00110679

THE
ASIATIC SOCIETY OF BOMBAY
Town Hall, Bombay.

Digitized with financial assistance from
Observer Research Foundation
on 17 May, 2019

00110679

LEABHRAICHEAN

Literary Society of Bombay

AN

B.6.14

T-SEANN TIOMNAIDH

AIR AN TARRUING

O'N CHEUD CHANAIN CHUM

GAELIC ALBANAICH.

ANN AN DA' EARRAN.

Gaelic Bible

EARRANN I.

110679
C.C.

iarrtus na Cuideachd urramaich, a ta chum Eòlas CRÌOSDAIDH a sgaoileadh air feadh Gàeltachd agus Eileana na h-ALBA.

OF THE BOMBAY

EDINBURGH:

PRINTED BY C. STEWART, PRINTER TO THE UNIVERSITY, FOR THE SOCIETY IN SCOTLAND FOR PROPAGATING CHRISTIAN KNOWLEDGE, AND SOLD AT THEIR LIBRARY.

1807.

ENTERED AT STATIONERS HALL.

Society-hall, Edinburgh, March 25th, 1807.

IN the year 1767, the SOCIETY IN SCOTLAND FOR PROPAGATING CHRISTIAN KNOWLEDGE published a Tranſlation of the NEW TESTAMENT into the Gaelic Language, and diſtributed a number of copies in the Highlands and Weſtern Iſles. A ſecond impreſſion was publiſhed in 1796.

By the generoſity of the Public, the Society has also been enabled to defray the expence of a Tranſlation of the OLD TESTAMENT into Gaelic; by which means thoſe of our countrymen who underſtand no other language, are furniſhed with the whole ſacred writings. This important undertaking was concluded in 1801.

The continued liberality of the Public has ſince put it in the power of the Society, to publiſh a ſecond edition of the Old Teſtament. In this edition, various paſſages in the Prophetical Books have, in conſequence of careful reviſal, been rendered more conformable to the Original Text and to the Engliſh tranſlation. The Society feel great ſatisfaction in offering, to a numerous claſs of their countrymen, ſo correct a verſion of the Holy Scriptures, in their own language.

Care has been taken to preſerve, as much as poſſible, the literal meaning and arrangement of the words in the Hebrew Text. In the Original, ſome words not unfrequently occur, which may be diffe-

 rently

rently interpreted. In ſuch caſes, that ſignification which was judged the moſt proper has been always adopted. The other meanings have, however, been in many inſtances given at the bottom of the page. The uſe of words which may not be known in every diſtrict of the Highlands, has been ſometimes found unavoidable. To remedy this inconvenience, other words, which convey nearly the ſame meaning, have been ſubjoined in Notes. But as theſe explanatory or ſynonymous words could not be always repeated, an Alphabetical Liſt of them, together with the correſponding Engliſh words, is prefixed to the preſent edition.

CLAR.

CLAR-MINEACHAIDH.

A.

ABHLAN, *dearnagan*, *breacag*. A wafer. a small round cake.
Adhartan, *clu-saig*. A pillow.
Adhlaic. v. *tiodhlaic*. Bury.
Aicheun. v. *àicheadh*, *ob*. Deny.
Ailbhinn. A flint, a sharp projecting rock.
Ainean, *grùthan*. The liver.
Airc, *cobhan*, *ciste*. The ark.
Airc, *teinn*, *cruaidh-chas*. Distress, hardship.
Aisead, *tuisleadh*, *tuismeadh*. Delivery.
Aisling, *bruadar*. A dream.
Aithris. v. *innis*. Report, tell.
Amhghar, *truaighe*, *triobloid*. Affliction, distress.
Amhluadh, *aimlisg*, *eas-ordugh*. Confusion.
Amhuinn, *fuirnis*. A furnace.
A muigh, *a mach*. Without.
Anbarrach, *ro-mhòr*. Exceeding.
Andana, *dalma*. Presumptuous.
Anfhann, *lag*. Feeble, weak.
Aobhar, *àdhbhar*. A cause.
Aon-adharcach. The unicorn.
Aonairt, *aoineagan*. Wallowing.
Aoradh, *àdhradh*. Worship.
Ar, *treabhadh*. Ploughing.
Araidh, *àraid*, *sònruichte*. Particular, peculiar.
Araon, *cuideachd*. Together.
Asbhuain, *bunain*, *stailcnich*. Stubble.
Athadh, *eagal*. Fear.
Athar, *aidhear*, *iormoilt*, *speuran*. The firmament, the sky.

B.

Bagaide, *badan*. A cluster.
Baile, *cathoir*. A city, town, village.
Bainionn, *boirionn*. Female.
Ban-fhiosaiche. A woman who divines, or pretends to foretel future events.
Ban-òglach, *ban-seirbhiseach*. A woman-servant.
Bearr. v. *lom*. Clip, shave.
Bhur, *'ur*. Your.
Bòid, *mòid*. A vow.
Borb, *garg*. Fierce.
Braighdean, *ciomaich*. Captives.
Brat, *còmhdach*. A covering, a veil.
Buachaille, *aodhaire*. A shepherd.
Buar, *crodh*. Black cattle.
Buidheann, *cuideachd*. A company.
Builionn, *muilionn*. A loaf.
Bunachur, *bunait*, *steidh*. A foundation.
Bùth, *bothag*, *pàilliun*. A tent.

C.

Cabhair, *còmhnadh*. Help, aid.
Càil-eigin, *rud-eigin*, *meud-eigin*. Somewhat.
Cairbh. *closach*, *corp marbh*. A carcase, dead body.
Càisg, *gabhail thairis*. The passover.
Caismeachd. An alarm.
Caitheamh, *éiteach*. A consumption.
Carragh. A stone raised erect, a pillar.
Caruich. v. *coruich*, *gluais*. Stir, move.
Cos, *cas*. A foot.
Cathair, *baile mòr*. A city.
Ceannaiche, *marsanta*. A merchant.
Ceannairc, *aradh a mach*. Rebellion.
Ceann-feadhna, *ceannard*. A chief, a leader.
Cearn, *oisinn*. A corner.
Cearnabhan, *connsbeach*, *conuiche*, *eirc-bheach*, *beach-each mhòr*. A hornet.
Cineal, *seòrsa*, *gnè*. A kind, or sort.
Cinn. v. *fàs*. Grow, become.
Cinneas, *fàs*. Increase, growth.
Ciomaich, *braighdean*. Captives.
Ciocras, *miann*. A longing, and earnest desire.
Clach-chreadha. A brick.
Claoidh. v. Distress, destroy.
Claon. v. *fiar*. Incline, pervert.
Cluaran, *oighionnach*, *foghannan*. A thistle.

Cnap,

Cnap, *meall.* A knob.
Cobhartach, *creach.* Prey.
Cog. v. *dean cogadh.* Fight.
Coimhcheangal, *cunraadh, cùmhnant.* A covenant.
Coimhearlnach, *nàbuidh.* A neighbour.
Coimhid. v. Obſerve, keep.
Coimhleabach, *leannan.* A concubine.
Coimhleaſachadh, *dìoladh, éiric.* A compenſation, requital.
Coingheall, *iaſachd, iaſad.* A loan.
Coirbte, *croſta, aingidh.* Perverſe, wicked.
Coiſg. v. *mùch.* Quench.
Coiſrig. v. Conſecrate.
Coitcheann, *coitchionn, cumanta.* Common, general.
Colann, *colainn, corp.* The body.
Còmhdaich. v. *comh-eudaich, cuibhrig, folaich.* Cover, clothe.
Còmhnadh, *còghnath, congnamh.* Aſſiſtance, help.
Cònſhnuich. v. *gabh còmhnuidh.* Dwell.
Conlach, *fodar.* Straw.
Corcur, *purpur.* Red, purple.
Corn, *adharc.* A horn.
Coron, *crùn, fleaſg.* A crown, a wreath.
Criadh, *creuch.* Clay.
Cridhe, *croidhe.* The heart.
Cuibhreach, *ceangal, boinn.* Bonds.
Cuinneanan, *pollaire, ccinliona.* The noſtrils.
Cumaſg ſluaigh, *ſluagh meaſgta.* A mixed multitude.

D.

Daorſadh, *braighdeanas.* Slavery, captivity.
Daingneach. A ſtrong hold.
Deagh-ghean, *fàbhor.* Favour, grace.
Dealbh, *ìomhaigh, cruth.* An image, form, ſtatue.
Dearnagan, *abhlan.* A wafer, a ſmall round cake.
Deifir, *cabhag.* Haſte.
Didean. A ſanctuary, refuge, protection.
Dioghaltair. An avenger.
Dioghluim, *ſeaſgana.* Gleanings.
Dìol. v. *aisig, coimhleaſaich, cuidhtich.* Reſtore, requite.
Dìomach, *diomhuidheach.* Diſpleaſed.
Diubhalach, *millteach.* Grievous, deſtructive.
Dlighe, *dleaſdanas.* Duty.
Dòchas, *muinghin, earbſadh.* Hope.
Doire, *badan coille.* A grove.
Drùchd, *driùchd, dealt.* Dew.
Druidh, *draoidh,* A magician, a ſorcerer.
Dùbailte, *dà-fhillte.* Double, twofold.
Dùbhlan. Defiance.
Dùil, *creutair.* A creature, element.
Droing, *muinntir, dream.* Perſons, folk, thoſe.

E.

Ealadhain, *seòltachd.* Art.
Ealanta. Artificial, curious.
Eallach, *uallach.* A burden.
Earrann, *cuibhrionn.* A part, portion, diviſion.
Eaſbhuidh, *dìth.* Want, lack.
Eaſcaraid, *nàmhaid.* An enemy.
Eididh, *truſcan, eudach.* Garments.
Eigh. v. *goir, gairm, glaodh.* Call, cry.
Eilthireach, *allmharach, athbarrach.* An alien, a foreigner.
Eireadh, *eallach, cudthrom.* A burden.
Eirthir, *iomall.* A coaſt, border.
Eud. Jealouſy, zeal.
Eugas, *aogas, coſlas.* Likeneſs.
Euſaontas, *euceart.* Treſpaſs.

F.

Fa chomhair, *air beulaobh.* Before, oppoſite to.
Fàbhradh. A fringe, the eyelid.
Fadal, *déigh.* Longing.
Faiche, *magh, machair.* A field.
Fail, *fàinne, foir.* A ring, an ouch.
Fàile, *boladh.* Savour, ſmell.
Fairich. v. Feel, perceive.
Famhair, *fuamhair, curaidh, athach.* A giant, a champion.
Feachd, *armailt.* Forces, an army.
Fear-cuairt. A ſojourner.
Féill, *féiſd, fleagh, cuirm.* A feſtival, a feaſt.
Feudail, *buar, tàin.* Black cattle, herds.
Feun, *feanaidh.* A waggon.
Fiabhrus, *teaſach.* A fever.
Fìonain, *fìneamhain, crann-fiona.* A vine.
Fìon-lios, *fìon-ghàradh.* A vineyard.
Fionnan-feoir, *leumnach uaine, dreòlan-teaſbhuidh.* A graſshopper.
Fiosiche. A diviner, one who pretends to foretell future events.

Fioſraich.

Fiosraich. v. *feòraich*, *faoineachd*, *farraid*; *ambairc air*. Ask, inquire; visit.
Fliodh. A wen.
Foillsich. v. *taisbein*. Reveal, publish.
Fòireigin, *foirneart*, *ainneart*. Oppression, violence.
Freiceadan. A guard, watch.
Fras, *ros*. Seed.
Fuasgail. v, *faor*. Redeem.
Fuidh, *fo*, *fodha*. Under.

G.

Gaineamh, *gainbheach*. Sand.
Gàir, *iolach*. Laughter, a shout.
Gairdeachas, *aoibhneas*, *subhachas*. Rejoicing.
Gaoid, *meang*, *gò*, *aineamh*. A blemish, defect.
Gàradh, *lios*. A garden.
Gearan, *monmbor*, *duarman*. Complaint, murmur.
Ginealach, *linn*, *àl*. A generation.
Glaodh. v. *éigh*. Call.
Gluasad, *gluasachd*, *siubhal*. Moving.
Gnàth, *gnàthachadh*, *cleachda*. Manner, custom.
Gnè, *cineal*, *seòrsa*. A kind or sort, nature.
Gnùis-bhrat, *còmhdach*. A veil.
Goir. v. *gairm*. Call.
Goirtichte, *geuraichte*. Leavened.
Grealach, *innigh*. The purtenance, bowels.
Gréis, *obair-shnàthaide*. Embroidery, needle-work.

I.

Iarmad, *sliochd*, *fuigheal*. Posterity, a remnant.
Iasachd, *coingheall*. A loan.
Igh, *saill*. Fat.
Imrich, *atharrachadh*. Removal.
Inbhe, *onoir*, *urram*. Dignity, rank, honour.
Inealtair. v. *biadh*. Feed, pasture.
Innigh. Bowels.
Innlinn, *biadh spréidhe*, Provender.
Iobair. v. *ofrail*, *tiodhlaic*, *tairg*. Sacrifice, offer.
Iobairt-loisgte, *tabhartas-loisgte*, *ofrail-loisgte*. A burnt-offering, holocaust.
Iobairt-pheacaidh. A sin-offering.
Ioc. v. Pay, requite.
Ioc-shlaint. Balm, an universal medicine.
Iolach, *gàir*. Shouting.
Iomadaigh, *mòran*. A multitude.
Iomlait, *malairt*. Exchange, barter.
Ionga, *crodhan*. The hoof, claw.
Ionmhas, *stòr*, *maoin*. Treasure, worldly substance.
Ionnail. v. *ionnlaid*. Bathe.
Ionnas, *air chor agus*. So that.
Ionracan. A righteous person.
Ionracas, *fìreantachd*, Righteousness.
Iunsaichte, *fòghlumta*. Taught, trained.

L.

Lagh-thabhartair. A law-giver.
Làmh-choille, *bann-lamh*. A cubit.
Làmh-fhailean, *usgraichean*. Bracelets.
Leannan-sìth, *spiorad fiosachd*. A familiar spirit.
Leas, *sliasaid*. The thigh.
Léigh, *olla*, *lighiche*. A physician.
Leth-aon. A twin.
Leth-fhocal. A by-word.
Lios, *gàradh*. A garden, an inclosure.
Lios-olaidh. An olive-yard.
Loch léin, *blian*. The flanks.
Lòchran. A torch, a lamp.
Lomairt, *bearradh*, *rùsgadh*. Shearing.
Lomradh, *rùsgadh*. A fleece.
Luachmhor, *measail*. Valuable, precious.

M.

Machair, *faiche*, *achadh*, *magh*. A field, plain.
Mainnir, *crò*, A fold, pen, cot.
Màla, *balg*. A bag.
Manadh. An omen.
Math. v. *maith*, *logh*. Forgive.
Math, *maith*. Good.
Meall, *stac*, *baideal-teine*. A pillar of fire.
Meidhean, *toimhsean*. Balances.
Meil. v. *bleath*. Grind.
Mi-shuaimhneas, *carraid*. Trouble, vexation.
Mòid, *bòid*. A vow.
Muileid. A mule.
Mùth. v. *caochail*, *atharraich*. Change.

N.

Nathair, *aithir*. A serpent.
Neo-ghoirtichte, *neo-gheuraichte*, *gun laibhin*. Unleavened.
Neo-thorrach, *seasg*, *aimrid*, *gun chloinn*. Barren.
Nimh, *neimh*, *puinsion*. Venom, poison.

Nochd.

Nochd. v. *taisbean, feuch.* Shew.
Nochd, *lomnochduigh, nàire.* Nakednefs.
Nuadh, *nomha.* New.

O.

Oglach, *feirbhifeach.* A man-fervant.
Oirdheirceas, *barrachd.* Excellence.
Os bàrr, *a bhàrr air sin.* Moreover.

P.

Pàilliun, *pubull, bùth.* A tabernacle, tent.
Plaid-luidhe, *feitheamh fàth.* Lying in wait.
Prìomh, *ceud.* Chief.
Pronnafc, *gronnuftol.* Brimftone.

R.

Rabhadh, *fanas.* A warning.
Rach. v. *theirig, falbh, imich, gabh.* Go.
Rathad, *ròd, flighe.* A way.
Reachd, *ordugh, lagh.* A ftatute, ordinance, law.
Reafgach. Stubborn.
Reic. v. *creic.* Sell.
Rèite, *réidhte, sìth.* Reconciliation, atonement, peace.
Ribe, *lìon.* A fnare, net.
Roinn. v. Divide, diftribute.

S.

Saibhir, *faidhbhir, beartach.* Rich.
Saor. v. Free, acquit, refcue.
Saorfadh, *fuafgladh.* Freedom, redemption.
Scarthanaich, *camhanaich.* Dawn.
Seachran, *iomrol, allaban.* An error, going aftray.
Seanachaidh, *eachdraiche.* Antiquary, recorder.
Searrag, *foirre, buideal.* A bottle.
Seòlta, *innleachdach, raideil.* Skillful, fubtile.
Seud. A jewel.
Seunadair. A charmer.
Silteach. An iffue.
Sìol, *fras, ros.* Seed.
Sliochd, *sìol.* Seed.
Slògh, *pobull.* A hoft.
Smeuraich. v. *iarr fo làimh.* Grope
Snaidhte, *grabhaltan.* Graven, cut.
Snàig. v. *fnàg, crùb,* Creep
Sòghar. Luxurious, delicate.
Sonruich. v. *fmuainich, dealbh.* Purpofe, mean.
Sònruichte, *àraidh.* Peculiar, particular.
Speuradair. A ftar-gazer, an aftrologer.
Sreath, *freud.* A row.
Suaichiontas. An enfign, a ftandard.
Suaimhneas, *fois, tàmh.* Reft, peace, pleafure.

T.

Tabhartas, *tiodhlac, ofrail.* A gift, an offering.
Tabhartas-bìdh, *ofrail-bhìdh.* A meat-offering.
Tabhartas-dibhe. A drink-offering.
Tabhartas-loifgte. A burnt-offering.
Tabhartas-peacaidh. A fin-offering.
Taifbean. v. *foillsich.* Reveal, fhew.
Taifbeanadh, *foillfeachadh, fealladh.* A revelation, vifion.
Taifgeach, *tigh-stòir.* A ftorehoufe.
Tart, *pathadh, ìotodh.* Thirft, drought.
Teinntein, *teallach.* The hearth.
Teòma. Skilful, expert.
Teum. v. *lot, ciob.* Bite, wound.
Tharla. v. *thachair, bha e.* It came to pafs, it was.
Theirig. v. *rach, falbh, gabh.* Go.
Thoir. v. *toir, tabhair.* Give, offer.
Thugad, *chugad.* To thee.
Tiodhlac, *gibht.* A gift.
Toirmifg. v. *bac.* Forbid, reftrain.
Torr, *cruach, meall.* A heap.
Treubh, *fine.* A tribe, family, clan.
Troimh, *tre, trìd.* Through.
Truaill. v. *mi-naomhaich.* Pollute, profane.
Trufcan, *éididh, eudach.* Garments, clothes.
Tuairefgeul, *droch iomradh.* A bad report.
Tùifeir, *tùis-shoitheach.* A cenfer.
Tum. v. *tom, bog.* Dip.
Tuil-dhorus, *uinneag.* A floodgate, window.

U.

Uaith. From him.
Uaithe, *uaiche, uaipe.* From her.
Uamhas, *uamhann, oillt, eagal.* Dread, fear.
Uidheam, *airneis.* Apparatus, furniture.
Ulluich. v. *ullamhuich, deafaich.* Prepare.
Umha, *unga, prais.* Brafs.
Urrainn, *urradh, comafach.* Able.

GENERAL

GENERAL RULES

FOR READING THE

GAELIC LANGUAGE.

OF THE LETTERS.

IN the Gaelic language there are eighteen letters, viz. *a*, *b*, *c*, *d*, *e*, *f*, *g*, *h*, *i*, *l*, *m*, *n*, *o*, *p*, *r*, *s*, *t*, *u*; which are divided into vowels and consonants.

OF THE VOWELS.

There are five vowels, *a*, *e*, *i*, *o*, *u*.

A is sounded as in the English words *ball*, *halt*; but before *dh* and *gh* it has often the sound of the diphthong *ao*, as in *lagh*, law. *magh*, a field.

E represents two different sounds: *1st*, That of the Greek epsilon, or of *ea* in the English word *bear*; as in *ré*, the moon, *an dé*, yesterday: *2dly*, That of *a in care* as in *e* or *se*, he, *rè*, during the time of

I is sounded like *ee* in English; *O*, as in the words *bone*, *morn*, *lot*; and *U*, like *oo* in *moon*, *fool*.

The vowels are divided into BROAD and SMALL. *A*, *o*, *u*, are called broad vowels; and *e*, *i*, small.

In a word of two or more syllables, if the former ends with a broad vowel, the next syllable must begin with a broad vowel; if with a small vowel, with a small. Accordingly, it is reckoned false orthography to write *deanibh*, do ye, and not *deanaibh*, though the last *a* is never sounded. But in compound words this rule may often be properly dispensed with.

All the vowels are sometimes long, sometimes short. When long, they are generally marked with accents.

In all the syllables of polysyllables, except the first, the vowels have a short and obscure sound, as in the English words *sun*, *bird*, *mother*; and the broad, and sometimes the small, are used for one another.

OF THE DIPHTHONGS.

There are thirteen diphthongs, viz. *ae*, *ai*, *ao*, *ea*, *ei*, *eo*, *eu*, *ia*, *io*, *iu*, *oi*, *ua*, *ui*; which are either PROPER or IMPROPER.

Ao and *eu* are improper diphthongs, representing simple sounds; the former of which is perhaps peculiar to this language, and only attainable by the ear: The latter is like that of the Greek epsilon, or the Latin *æ*.

All

All the other diphthongs are proper; the ſound of each of the vowels that enters into their compoſition being more or leſs heard. In *ae*, *ai*, *ei*, *oi*, *io*, *ia*, *ua*, and *ui*, the laſt vowel, and in *ea*, *eó*, and *iu*, the firſt vowel is but faintly ſounded.

The diphthongs *eu*, *ia*, and *ua*, are always long. The other diphthongs are ſometimes long, ſometimes ſhort.

OF THE TRIPHTHONGS.

There are five triphthongs, viz. *aoi*, *eoi*, *iai*, *iui*, *uai*. They are pronounced like the diphthongs *ao*, *eo*, *ia*, *iu*, and *ua*, with the addition of a ſhort *i*. They are all long, and never occur but in monoſyllables, or the firſt ſyllables of polyſyllables.

OF THE CONSONANTS.

There are thirteen conſonants, viz. *b*, *c*, *d*, *f*, *g*, *h*, *l*, *m*, *n*, *p*, *r*, *ſ*, *t*; which are divided into MUTABLE and IMMUTABLE.

The mutable are ſuch as, by having an *h* ſubjoined to them, either alter or loſe their uſual ſound, viz. *b*, *c*, *d*, *f*, *g*, *m*, *p*, *ſ*, *t*.

The immutable conſonants are ſuch as are never aſpirated, or have an *h* ſubjoined to them, viz *l*, *n*, *r*.

After a ſhort vowel or diphthong, the conſonants are generally pronounced as when written double in Engliſh. Thus, *cos*, a foot, *aran*, bread, are to be pronounced as if written *coſs*, *arran*.

A conſonant ſtanding alone is ſounded as if it were the initial letter of the following word, if it begins with a vowel, or as the final letter of the preceding word, if it ends with a vowel; as *an t-anam*, the ſoul, *le d' chridhe*, with thy heart, to be pronounced *an tanam*, *led chridhe*.

Bh and *mh* have the ſound of *v* in Engliſh. Thus *a bhean* his wife, *a mhàthair* his mother, are to be read as if written *a vean*, *a vàthair*. *Mh* in the middle and end of polyſyllables is often either ſilent, or ſtands for a gentle aſpiration.

C is always ſounded as the Greek *κ*, or k in Engliſh. Thus, *car* a turn, *ceann* a head, are to be pronounced *kar*, *keann*. *Ch* has the ſound of the Greek *χ*, or of *gh* in *lough*, as the Iriſh pronounce it.

Dh and *gh*, in the beginning of words, are commonly ſounded like the Engliſh conſonant *y* in *you*, *your*. Thus, *dha* to him, *a ghaol* his love, are to be pronounced as if written *ya*, *a yaol*. In the middle, or end of words, they are often ſilent, or have the ſound of a faint aſpiration.

Fh is ſilent, as *fheara*, O men, *gun fhios*, without notice, to be read *'eara*, *gun 'ios*; but *fhuair*, he found, is to be read as *huair*, the *f* only being quieſcent.

G is always ſounded as in the Engliſh words *get*, *good*.

Ph has the ſound of *f*; as in *phill e*, he returned, to be pronounced *fill e*.

S before or after a broad vowel in the ſame ſyllable, is ſounded as in Engliſh. But, when immediately before or after a ſmall vowel, it has the ſound of *ſh*. It has the ſame ſound in *ſo*, this, *ſud*, yonder, to be pronounced *ſho*, *ſhud*. *S* in the beginning of words, when preceded by the article, with a *t* intervening, is ſilent: Thus, *an t-ſùil*, the eye, is to be pronounced as if written *an tùil*. *S* has the ſame ſound as in Engliſh in *is*, is, *is* or *as*, and.

Sh and *th* in the beginning of words have the ſound of *h* alone. Thus, *a' bhean ſhona*, the happy woman, *a' chainnt thlà*, the ſmooth ſpeech, are to be pronounced *a vean hona*, *a chainnt hlà*. *Th* after a long vowel, diphthong, or triphthong, is nearly ſilent; but, after a ſhort vowel or diphthong, it has the force of a rapid aſpiration, as in *crith*, ſhaking, *ruith* or *ruidh*, running.

The

The immutable consonants, *l*, *n*, *r*, when initials of words not connected with others in a sentence, have a soft double sound, to be learned only by the ear. But wherever the order of construction requires that the mutable consonants should be aspirated, the immutable lose their double sound, and are pronounced nearly as in English. Thus, the initial letters of the adjectives *mòr*, great, and *luath*, swift, when joined with feminine substantives in the nominative singular, must be sounded like *v* and *l* in English; as *beinn mhòr* *(vòr)* a great mountain, *cos luath* a swift foot. But with masculine substantives they retain their primitive sound, as *fear mòr*, a great man, *cù luath*, *(lluath)* a swift dog.

When the consonants *l*, *n*, *r*, have their double sound in the middle or end of words, they are written double, as in *gall*, a foreigner, *fearr*, better.

LEABHRAICHEAN.

NA CEUD EARRANN.

CAIB.

GENESIS; *anns am bheil*..........50
ECSODUS..........40
LEBHITICUS..........27
AIREAMH..........36
DEUTERONOMI..........34
IOSUA..........24
BREITHEAMHNA..........21
RUT..........4
I. SAMUEL..........31
II. SAMUEL..........24
I. RIGH..........22
II. RIGH..........25
I. EACHDRAIDH..........29

CEUD LEABHAR MHAOIS,

D' AN AINM

GENESIS.

CAIB. I.

'SAN toiſeach chruthaich Dia[a] na
neamhan agus an talamh.
2 Agus bha'n talamh gun dealbh[b]
agus falamh[c]; agus *bha* dorchadas
air[d] aghaidh na doimhne[e]: agus *bha*
Spiorad Dé a' gluaſad[f] air aghaidh
nan uiſgeacha.
3 Agus thubhairt[g] Dia, Biodh ſo-
lus ann: agus bha ſolus ann.
4 Agus chunnaic[h] Dia an ſolus,
gu[i] '*n robh*[j] *e* math[k]: agus chuir
Dia dealachadh eadar an ſolus agus
an dorchadas.
5 Agus dh'ainmich Dia an ſolus
Là[l], agus an dorchadas dh'ainmich e
Oidhche: agus b'iad am feaſgar agus
a'mhadainn an ceud là.
6 Agus thubhairt Dia, Biodh athar[m]
'am meadhon nan uiſgeacha, agus
cuireadh e dealachadh eadar uiſgeach-
an agus uiſgeacha.
7 Agus rinn Dia an t-athar, agus
chuir e dealachadh eadar na h-uiſ-
geachan a *bha* fuidh'n athar, agus na
h-uiſgeachan a *bha* os cionn[n] an athair:
agus bha e mar ſin.
8. Agus dh'ainmich Dia an t-athar
Nèamh: agus b'iad am feaſgar agus
a'mhadainn[o] an dara[p] là.
9 Agus thubhairt Dia, Cruinnich-
ear na h-uiſgeachan *a ta* fuidh nèamh
a dh'aon àite, agus leigear ris am *fear-
ann* tioram[q]: agus bha e mar ſin.
10 Agus dh'ainmich Dia am *fear-
ann* tioram Talamh, agus cruinneach-
adh nan uiſgeacha dh'ainmich e Fair-
geachan[r]: agus chunnaic Dia gu '*n
robh e* math.
11 Agus thubhairt Dia, Thugadh
an talamh a mach feur, luibh a ghi-
neas sìol, craobh-mheas a bheir a mach
meas[ſ] a réir a gnè[s], aig *am bheil* a
sìol[t] innte féin air an talamh: agus
bha e mar ſin.
12 Agus thug an talamh a mach
feur, luibh a ghineas sìol a réir a gnè,
agus craobh a bheir a mach meas, aig
am bheil a sìol innte féin a réir a gnè:
agus chunnaic Dia gu'*n robh e* math.
13 Agus b'iad am feaſgar agus a'
mhadainn an treas là.
14 Agus thubhairt Dia, Biodh ſo-
luis[u] ann an ſpeuraibh nèimh a chur
dealachaidh eadar an là agus an oidh-
che, agus bitheadh iad air ſon chomh-
aran[v], agus air ſon aimſirean, agus air
ſon lài[w], agus bhliadhnacha.
15 Agus biodh iad mar ſholuſan[x]
ann an ſpeuraibh nèimh, a thoirt ſo-
luis air an talamh[y]: agus bha e mar
ſin.
16 Agus rinn Dia dà ſholus mhòr,
an ſolus a's mò a riaghladh an latha[z],
agus an ſolus a's lugha a riaghladh na
h-oidhche; agus na reulta[a].
17 Agus ſhuidhich Dia iad ann an
ſpeuraibh

[a] *an t-Uile-chumhachdach.* [b] *gun chumadh, gun dreach.* [c] *fàs; folamh.* Eir. [d] *er.* [e] *an aigein.* [f] *a' gur gu caomh.* [g] *thuirt; a dubhairt.* Eir. [h] *chonnairc.* Eir. [i] *go.* Eir. [j] ro; raibh. Eir. [k] *maith.* [l] *ghoir Dia do'n t-ſolus Latha.* [m] *aidhear, iormoilt, ſpeuran.* [n] *os ceann.* [o] *do budh é an nòin agus an mhaidean.* Eir. [p] *darna.* [q] *an* talamh *tioram, an ùir thioram.* [r] *maranna, cuanta.* [ſ] *a thilgeas meas, air am fàs meas.* [s] *cineil, ſeòrta.* [t] *fras, ros.* [u] *lochrain.* [v] *mar chomharthan.* [w] *làethe.* [x] *air ſon ſholuſan, 'nan lòchranaibh.* [y] *a ſhoillſeachadh na talmhainn.* [z] *là, lo.* [a] *reannaga, rionnagan.*

ſpeuraibh nèimh, a thoirt [a] soluis air an talamh,

18 Agus a riaghladh 'ſan là, agus 'ſan oidhche [b], agus a chur dealachaidh eadar an ſolus agus an dorchadas: agus chunnaic Dia gu'*n robh e* math.

19 Agus b' iad am feaſgar agus a 'mhadainn an ceathramh là.

20 Agus thubhairt Dia, Thugadh na h-uiſgeachan a mach gu pailt an creutair gluaſadach anns am bheil beatha [c], agus biodh eunlaith ag itealach' [d] os cionn na talmhainn air aghaidh ſpeura néimh [e].

21 Agus chruthaich Dia muca-mara [f] mòra, agus gach uile chreutair beo a ghluaiſeas, a thug [g] na h-uiſgeachan a mach gu pailt a réir an gnè, agus gach cun iteagach [h] a reir a ghnè: agus chunnaic Dia gu'*n robh e* math.

22 Agus bheannaich Dia iad, ag ràdh, Sìolaichibh, agus fàſaibh lìonmhor, agus lìonaibh na h-uiſgeachan anns na fairgibh, agus faſadh an eunlaith lìonmhor air an talamh.

23 Agus b'iad am feaſgar agus a' mhadainn an cùigeadh là.

24 Agus thubhairt Dia, Thugadh an talamh a mach an creutair beo a réir a ghnè, ſpréidh, agus *gach* ni a ſhnàigeas [i], agus beathaiche [k] na talmhainn a réir an gnè: agus bha e mar ſin.

25 Agus rinn Dia beathaiche na talmhainn a réir an gnè, agus an ſpréidh a réir an gnè, agus gach ni a ſhnàigeas air an talamh a réir a ghnè: agus chunnaic Dia gu'*n robh e* math.

26 Agus thubhairt Dia, Deanamaid duine 'nar dealbh [l] féin, a réir ar coſlais féin, agus biodh uachdranachd aca os cionn éiſg na mara, agus os cionn eunlaith nan ſpeur [m], agus os cionn na ſpréidhe, agus os cionn na talmhainn uile, agus os cionn gach ni a ſhnàigeas a ta ſnàigeadh air an talamh.

27 Agus chruthaich Dia an duine 'na dhealbh féin; ann an dealbh Dhé chruthaich ſe e: firionnach agus baineionach [n] chruthaich e iad.

28 Agus bheannaich Dia iad, agus thubhairt Dia riu, Sìolaichibh, agus fàſaibh lìonmhor, agus lìonaibh an talamh, agus ceannſaichibh e; agus biodh uachdranachd agaibh os cionn éiſg na mara, agus os cionn eunlaith nan ſpeur, agus os cionn gach ni beò a ghluaiſeas air an talamh.

29 Agus thubhairt Dia, Feuch, thug mi dhuibh gach luibh a ghineas sìol, a *ta* air aghaidh na talmhainn uile, agus gach craobh anns *am bheil* meas craoibh a ghineas sìol; dhuibhſe bithidh e mar bhiadh [o].

30 Agus do uile bheathaichibh [p] na talmhainn, agus do uile eunlaith nan ſpeur, agus do gach ni a ſhnàigeas air an talamh, anns *am bheil* beatha [q], *thug mi* gach luibh ghorm [r] mar bhiadh: agus bha e mar ſin.

31 Agus chunnaic Dia gach ni a rinn e, agus feuch, *bha e* ro mhath. Agus b' iad am feaſgar agus a' mhadainn an ſeathadh [s] là

CAIB. II.

AGUS chrìochnaicheadh na neamhan agus an talamh, agus an ſluagh uile.

2 Agus chrìochnaich Dia air an t-ſeachdamh là obair a rinn e; agus ghabh e fois [t] air an t-ſeachdamh là o obair uile a rinn e.

3 Agus bheannaich Dia an ſeachdamh là, agus naomhaich ſe e: do bhrì' gur ann air a ghabh e fois o obair uile, a chruthaich Dia agus a rinn e.

4 'Siad ſo ginealaich nan neamh agus na talmhainn, 'nuair a chruthaicheadh iad, ſan là 'n d'rinn an Tighearna [u] Dia *an* talamh agus na neamha.

5 Agus

[a] *a thabhairt.* [b] *a riaghladh an latha agus na h-oidhche.* [c] *anam beo.* Eabh. [d] *agus eunlaith a dh'itealaicheas.* [e] *ann an ſpeuraibh nèimh.* [f] *miola.* Eir. [g] *noch thugadar.* Eir. [h] *ſgiathach, ſgiathanach.* [i] *chrùbas; ſhnaigheas, ſhnàmhas.* Eir. [k] *fiadh-bheathaiche.* [l] *iomhaigh, cruth.* [m] *nèimh, an athair.* [n] *fear agus bean, firionn agus boirionn.* [o] *air ſon bìdh.* [p] *gach uile bheathach.* [q] *anam beo.* Eabh. [r] *glas.* [s] *ſeiſeadh.* Eir. [t] *rinn e tamh.* [u] *Jehobhah.* Eabh.

troicinn, agus chòmhdaich e iad [a].
22 Agus thubhairt an Tighearna
Dia, Feuch, a ta'n duine air fàs mar
aon dhinn *féin*, fioſrach air math agus
olc. Agus a nis an t-eagal gu'n
sìneadh e mach a làmh, agus gu'n
gabhadh e mar an ceudna do chraoibh
na beatha, agus gu'n itheadh e, agus
gu'm biodh e beo gu ſiorruidh:
23 Air an aobhar ſin chuir an
Tighearna Dia a mach e a gàradh
Edein a ſhaoithreachadh na talmhainn,
as an d'thugadh e.
24 Agus dh'fhògair e mach an
duine; agus ſhuidhich e 'ſan taobh
an ear do ghàradh Edein Cheruban[b],
agus cloidheamh laſrach[c], a *bha* tionn-
dadh air gach làimh, a ghleidheadh [d]
ſlighe craoibh na beatha.

C A I B. IV.

AGUS dh'àithnich Adhamh a
bhean Eubha, agus dh'fhàs i
torrach [e], agus rug i Cain, agus thubh-
airt i, Fhuair mi duine o'n Tighearna.
2 Agus a rìs rug i a bhràthair
Abel: agus bha Abel 'na bhuachaille
chaorach, ach bha Cain 'na threabh-
aiche fearainn [f].
3 Agus tharladh [g] 'an ceann lài
àraidh [h], gu'n d' thug Cain do thoradh
an fhearainn tabhartas [i] do'n Tigh-
earna.
4 Agus thug Abel mar an ceudna
do cheud-ghinibh a thréid, agus d'an
ſaill: agus bha meas aig an Tighearn
air Abel agus air a thabhartas:
5 Ach air Cain, agus air a thabh-
artas, cha robh meas aige. Agus bha
Cain fuidh throm fheirg [j], agus thuit
a ghnùis [k].
6 Agus thubhairt an Tighearna re
Cain, C'ar ſon a tha fearg ort? agus
c'ar ſon a thuit do ghnùis?
7 Ma ni thu gu math, nach gabhar
riut? agus mur dean thu gu math,
aig an dorus *tha* peacadh 'na luidhe.
Agus riutſa *bithidh* a thogradh, agus
bithidh uachdranachd agad air.

8 Agus labhair Cain re h-Abel [l] a
bhràthair: agus 'nuair a bha iad 'ſa
mhachair [m], dh'éirich Cain ſuas 'an
aghaidh Abeil a bhràthar, agus
mharbh ſe e.
9 Agus thubhairt an Tighearna re
Cain, C' àit' *am bheil* Abel do bhrà-
thair? Agus thubhairt eſan, Cha'n
'eil fhios agam [n]. Am miſe fear-
gleidhidh mo bhràthar?
10 Agus thubhairt eſan, Ciod a
rinn thu? *Tha* guth fola do bhràthar
ag éigheach riumſa o'n talamh.
11 Agus a nis *tha* thu mallaichte
o'n talamh, a dh'fhoſgail a bheul a
ghabhail fola do bhràthar o d' làimh.
12 'Nuair a ſhaoithricheas tu 'n
talamh, cha toir [o] e dhuit a ſo ſuas a
neart. A't'fhògarach agus a' t'fhear-
fuadain bithidh [p] tu air an talamh.
13 Agus thubhairt Cain ris an
Tighearna, Is mò mo pheanas na gur
urrainn mi ghiùlan [q].
14 Feuch, dh' fhògair thu mi mach
an diugh bhàrr aghaidh na talmhainn:
agus o d' ghnùis-ſa folaichear mi, agus
bithidh mi m'fhògarach agus a'm'
fhear-fuadain air an talamh; agus tar-
laidh gach neach a gheibh mi [r] *gu*
marbh e mi.
15 Agus thubhairt an Tighearna
ris, Uime ſin ge b'e air bith a mhar-
bhas Cain, nìthear a ſheachd uiread
do dhioghaltas air [s]. Agus chuir an
Tighearna comhar' air Càin, a chum
ge b'e neach a gheibheadh e nach
marbhadh ſe e.
16 Agus chaidh Cain a mach a là-
thair an Tighearna, agus ghabh e
còmhnuidh ann an tìr Nod an taobh
an ear do Eden [ſ].
17 Agus dh'aithnich Càin a bhean,
agus dh'fhàs i torrach, agus rug i
Enoch: agus thog e baile [t], agus
ghoir e ainm a bhaile a réir ainme a
mhic, Enoch.
18 Agus rugadh do Enoch Irad;
agus ghin Irad Mehuiael; agus ghin
Mehuiael

[a] *dh'eudaich e iad, chuir e truſgan orra.* [b] *Cherubim.* Eabh. [c] *laſartha.* [d] *choimhead.* [e] *thorraicheadh i, dh'fhàs i leatromach.* [f] *talmhainn.* [g] *thachair; bha e.* Eabh. [h] àraid. [i] *tiodhlac, ofrail.* [j] *làn feirge.* [k] *luidh gruaim air* [l] *bha focail eadar Cain agus Abel.* [m] *'ſan fhaiche, 'ſa' mhagh.* [n] *Cha'n aithne dhamh, cha'n fhioſrach mi.* [o] *cha dóir, cho tabhair.* [p] *biaidh.* Eir. [q] *'Smò mo choire na gu'm feudar a laghadh* dhamh. [r] *dh'éirmaiſeas orm.* [s] *nìthear dioghaltas seachd-fhillte air.* [ſ] *'ſan aird an ear o Eden.* [t] *cathair.*

Mehuiael Metusael; agus ghin Me-
tusael Lamech.
19 Agus ghabh Lamech dha féin
dà mhnaoi: *b'e* ainm a h-aon diubh
Adah, agus ainm na *mnà* eile Sillah.
20 Agus ghin Adah Iabal: b'e-
san athair na droinge [a] a ta gabhail
còmhnuidh 'am bùthaibh [b], agus na
droinge aig am bheil spréidh.
21 Agus *b'e* ainm a bhràthar Iubal:
b'esan athair nan uile a laimhsicheas
clàrsach agus organ.
22 Agus Sillah, rug ise mar an
ceudna Tubal-cain, fear-teagaisg gach
uile fir-ceird ann an ùmhadh [c] agus
'an iarun: agus *b'i* piuthar Thubal-
cain, Naamah.
23 Agus thubhairt Lamech r'a
mhnaibh, Adah agus Sillah, Cluin-
nibh mo ghuth, a mhnài Lameich,
éisdibh rem' chainnt: oir mharbh mi
duine chum mo lotaidh, agus òganach
a chum mo chiurraidh [d].
24 Ma dhìolar Càin a sheachd uir-
ead, gu deimhin *dìolar* Lamech a
sheachd-deug agus a thri fichead
uiread.
25 Agus dh'aithnich Adhamh a rìs
a bhean, agus rug i mac, agus thug i
Set [e] mar ainm air; oir dh'òrduich
Dia, *thubhairt i*, dhomhsa sliochd eile
'n àite Abeil, a mharbh Cain.
26 Agus do Shet féin mar an ceud-
na rugadh mac, agus thug e Enos
mar ainm air: 'an sin thòisich daoine
re gairm air ainm an Tighearna.

CAIB V.

SE so leabhar ghinealach Adh-
aimh: 'san là'n do chruthaich
Dia an duine, ann an coslas Dè rinn
se e.
2 Firionnach agus bainionnach
chruthaich e iad; agus bheannaich e
iad, agus thug e Adhamh [f] mar ainm
orra, san là'n do chruthaicheadh iad.
3 Agus bha Adhamh beò ceud
agus deich bliadhna fichead, agus ghin
e *mac* 'na choslas féin, a réir ìomh-
aigh féin [g]: agus thug e Set mar
ainm air.
4 Agus b'iad làì Adhaimh 'an
déigh dha Set a ghintinn [h], ochd ceud
bliadhna: agus ghin e mic agus
nigheana.
5 Agus b'iad uile làì Adhaimh a
bha e beò, naoi ceud agus deich bli-
adhna fichead; agus fhuair e bàs.
6 Agus bha Set beo ceud agus cùig
bliadhna, agus ghin e Enos.
7 Agus bha Set beo, 'n déigh dha
Enos a ghintinn, ochd ceud agus
seachd bliadhna, agus ghin e mic agus
nigheana.
8 Agus b'iad uile làì Shet naoi ceud
agus dà-bhliadhna-dheug; agus fhuair
e bàs.
9 Agus bha Enos beo ceithir
fichead bliadhna 'sa deich, agus ghin e
Cainan.
10 Agus bha Enos beo, 'n déigh
dha Cainan a ghintinn, ochd ceud agus
cùig-bliadhna-deug, agus ghin e mic
agus nigheana.
11 Agus b'iad uile làì Enois naoi
ceud agus cùig bliadhna; agus fhuair
e bàs.
12 Agus bha Cainan beo deich
bliadhna 's tri fichead, agus ghin e
Mahalaleel.
13 Agus bha Cainan beo, 'n déigh
dha Mahalaleel a ghintinn, ochd ceud
agus dà fhichead bliadhna, agus ghin
e mic agus nigheana.
14 Agus b'iad uile làì Chainain
naoi ceud agus deich bliadhna; agus
fhuair e bàs.
15 Agus bha Mahalaleel beo cùig
bliadhna 's tri fichead, agus ghin e
Iared.
16 Agus bha Mahalaleel beo, 'n
déigh dha Iared a ghintinn, ochd ceud
agus deich bliadhna fichead, agus ghin
e mic agus nigheana.
17 Agus b' iad uile làì Mhahalaleeil
ochd ceud, ceithir fichead, agus cùig-
bliadhna-deug; agus fhuair e bàs.
18 Agus bha Iared beo ceud agus
tri fichead agus dà bhliadhna, agus
ghin e Enoch.
19 Agus bha Iared beò, 'n déigh
dha Enoch a ghintinn, ochd ceud
bliadhna, agus ghin e mic agus nighe-
ana.
20 Agus b' iad uile làì Iareid naoi
ceud,

[a] *muintir, dream.* [b] *bothagaibh, pàilliunaibh.* [c] *prais.* [d] *dhochair* [e] *Seth.* Eabh. [f] *duine.* [g] *'na dhealbh, 'na chruth fein.* [h] *ghineamhuin.* Eir.

5 Agus cha robh uile phreas na
machrach fathaſt anns an talamh, agus
cha d'fhàs fathaſt uile lus na mach-
rach [a]; do bhri' nach d'thug an Tigh-
earna Dia air uiſge fraſadh [b] air an
talamh, agus cha robh duine ann a
ſhaoithreachadh na talmhainn.
6 Ach chaidh ceò ſuas o'n talamh,
agus dh'uiſgich e aghaidh na talmh-
ainn uile.
7 Agus dhealbh an Tighearna Dia
an duine *do* dhuſlach na talmhainn:
agus ſhéid e ann an cuineinibh [c] a
ſhròine anail na beatha; agus dh'
fhàs an duine 'na anam beò.
8 Agus ſhuidhich [d] an Tighearna
Dia gàradh [e] ann Eden 'ſan airde 'n
ear, agus chuir e ann an ſin an duine
a dhealbh e
9 Agus thug an Tighearna Dia air
gach uile chraoibh fàs as an talamh a
ta taitneach do'n t-ſealladh, agus math
a chum bìdh: craobh na beatha mar
an ceudna ann am meadhon a' ghà-
raidh, agus craobh an eòlais mhaith
agus uilc.
10 Agus chaidh abhainn [f] a mach
a h-Eden a dh'uiſgeachadh a' ghà-
raidh; agus as ſin roinneadh i, agus
dh'fhàs i 'na ceithir cheannaibh [g].
11 '*Se* ainm na ceud *aibhne* Piſon;
ſo i a ta cuartachadh tìre Chabhilaih
uile, far *am bheil* òr.
12 Agus *a ta* òr na tìre ſin math:
'an ſin [h] *a ta* bdellium agus a' chlach
onics.
13 Agus '*se* ainm na daradh aibh-
ne Gihon: '*si* ſin *a ta* cuartachadh
tìre Chuis [i] uile.
14 Agus '*se* ainm na treas aibhne
Hiddecel: '*ſ* ſin a tha dol do'n taoibh
an ear do Aſſiria. Agus '*si* 'n ceath-
ramh abhainn Euphrates.
15 Agus ghabh an Tighearna Dia
an duine, agus chuir ſe e ann an gà-
radh Edein, g'a ſhaoithreachadh [k]
agus g'a ghleidheadh.
16 Agus dh'àithn an Tighearna
Dia do'n duine, ag ràdh, Do gach uile
chraoibh 'ſa ghàradh feudaidh tu ith-
eadh gu ſaor:
17 Ach do chraoibh an eòlais [l]
mhaith agus uilc, cha'n ith thu dh'i
ſin; oir anns an là dh'itheas tu dhith,
gu cinnteach bàſaichidh tu.
18 Agus thubhairt an Tighearna
Dia, Cha [m] '*n'eil e* math gu'm biodh
an duine 'na aonar: Ni mi dha còmh-
nadh [n] d'a réir féin [o].
19 Agus dhealbh an Tighearna Dia
as an talamh uile bheathaiche na
machrach, agus uile eunlaith nan
ſpeur, agus thug e *iad* a chum Adh-
aimh, a dh'fhaicſinn cionnas a dh'ain-
micheadh e iad: agus ge b'e ainm a
thug Adhamh air gach creutair beò [p],
b'e ſin *a b'*ainm dha.
20 Agus thug Adhamh ainmeana
do'n ſpréidh uile, agus do eunlaith
nan ſpeur, agus do uile bheathaichibh
na machrach: ach do Adhamh cha
d'fhuaradh còmhnadh d'a réir féin.
21 Agus thug an Tighearna Dia
air codal trom tuiteam air Adhamh,
agus choidil e: agus ghabh e h-aon
d'a aiſnibh, agus dhùin e 'n fheoil
ſuas 'na h-àite.
22 Agus thog [q] an Tighearna Dia
an aiſean a thug e o'n duine ſuas 'na
mnaoi, agus thug e i chum an duine.
23 Agus thubhairt Adhamh, So a-
nis [r] cnàimh do m' chnàmhaibh, agus
feoil do m' fheoil-ſa. goirear bean [s]
dith, do bhri' gur ann as an duine [t]
thugadh i.
24 Air an aobhar [u] ſin fàgaidh fear
athair agus a mhàthair, agus dlù-
leanaidh ſe r'a mhnaoi; agus bithidh
iad 'nan aon fheoil.
25 Agus bha iad le chéile lom-
nochd, an duine agus a bhean; agus
cha robh nàir' orra.

[a] *Agus gach uile phreas na machrach mu'n robh e anns an talamh, agus gach uile lus na machrach mu'n d'fhàs e.* [b] *ſileadh.* [c] *pollaibh, pol- laraibh, coi'lionaibh.* [d] *phlanndaich, dheaſuich.* [e] *lios.* [f] *amhainn.* [g] *as ſin ſgaoili, agus dh'fhàs i 'na ceithir meuraibh.* [h] *ann an ſin.* [i] *Arabia; Ethiopia*, Saſg. [k] *dheaſachadh.* [l] *fhios.* [m] *Cho.* [n] *cunghnamh.* Eir. [o] *a bhios iomchuidh dha, coſmhuil ris féin.* [p] *thug e* iad *a dh' ionnſuidh Adhaimh, a dh'fhaicſinn ciod ghòireadh e dhiubh: agus ge b'e air bith a ghoir Adhamh do gach uile chreutair beò.* [q] *rinn.* [r] *a nois.* Eir. [s] *iſha.* Eabh. [t] *iſh.* Eabh. [u] *adhbhar.*

CAIB. III.

ANIS bha 'n nathair [a] ni bu sheol-
ta [b] na h-aon do bheathaichibh
na machrach a rinn an Tighearna
Dia; agus thubhairt i ris a' mhnaoi,
Seadh, an dubhairt Dia, Cha 'n ith
sibh do gach craoibh 'sa' gharadh?
2 Agus thubhairt a' bhean ris an
nathair, Do mheas craobhan a' gha-
raidh feudaidh sinn itheadh:
3 Ach do mheas na craoibh a ta
ann am meadhon a' gharaidh, thubh-
airt Dia, Cha'n ith sibh dheth, agus
cha bhean sibh ris, a chum nach fuigh
sibh [c] bàs.
4 Agus thubhairt an nathair ris
a' mhnaoi, Gu cinnteach cha 'n fhuigh
sibh bàs.
5 Oir a ta fios aig Dia, 'san là a
dh'itheas sibh dheth, gu'm fosgailear
bhur [d] sùilean, agus *gu'm* bi sibh mar
dhée, fiosrach air math agus air olc.
6 Agus chunnaic a' bhean *gu'n
robh* a' chraobh math a chum bìdh,
agus *gu'n robh* i taitneach do 'n t sùil,
[e] agus 'na craoibh r'a miannachadh a
dheanamh *neach* glic; agus ghabh i
d'a meas agus dh'ith i, agus thug i
mar an ceudna d'a fear maille ria, agus
dh'ith e.
7 Agus dh'fhosgladh an sùile le
chéile, agus dh'aithnich iad *gu'n robh
iad* lom-nochd; agus dh' fhuaigh iad
duilleach croinn-fhìgis r'a chéile, agus
rinn iad dhoibh féin aprain [f].
8 Agus chual' iad guth an Tigh-
earna Dé ag imeachd [g] 's a' gharadh
am fionn-fhuaireachd an là: agus
dh'fholaich Adhamh agus a bhean iad
féin o ghnùis an Tighearna Dé am
measg chraobh a' gharaidh.
9 Agus dh'éigh [h] an Tighearna
Dia air Adhamh, agus thubhairt e ris,
C'àit *am bheil* thu?
10 Agus thubhairt e, Chuala mi
do ghuth 'sa' gharadh, agus bha eagal
orm a chionn *gu'n robh* mi lom-nochd
i, agus dh'fholaich mi mi féin.
11 Agus thubhairt e, Cò dh'innis
dhuit *gu'n robh* thu lomnochd? An
d'ith thu do'n chraoibh, a dh'àithn
mise dhuit gun itheadh dhith?
12 Agus thubhairt an duine, A'
bhean a thug thu *gu bhi* maille rium,
thug ise dhamh do'n chraoibh, agus
dh'ith mi.
13 Agus thubhairt an Tighearna
Dia ris a' mhnaoi, Ciod *e* so *a* rinn
thu [j]? agus thubhairt a' bhean,
Mheall an nathair mi, agus dh'ith mi.
14 Agus thubhairt an Tighearna
Dia ris an nathair, A chionn gu'n d'
rinn thu so, *tha* thu mallaichte thar
gach ainmhidh, [k] agus thar uile
bheathaiche na machrach: air do
bhroinn imichidh tu, agus duslach [l]
ithidh tu uile lài [m] do bheatha.
15 Agus cuiridh mi naimhdeas ea-
dar thus' agus a' bhean, agus eadar do
shìols' agus a sìol-sa: bruthaidh esan
[n] do cheann, agus bruthaidh tusa a
shàil-san.
16 Ris a' mhnaoi thubhairt e, Meud-
aichidh mi gu mòr do dhoilgheas
agus do thoirrcheas; am péin beiridh
tu clann, agus re t'fhear bithidh do
thogradh [o], agus bithidh uachdra-
nachd aige ort [p].
17 Agus re h-Adhamh thubhairt
e, Do bhri' gu'n d'éisd thu re guth do
mhnà, agus gu'n d'ith thu do'n chra-
oibh a dh'àithn mise dhuit, ag ràdh,
Cha'n ith thu dhith, *tha*'n talamh
mallaicht' air do shon; ann an doil-
gheas ithidh tu dheth uile lài do
bheatha.
18 Agus droighionn agus cluarain
[q] bheir e mach dhuit, agus ithidh tu
luibh na machrach.
19 Am fallus [r] do ghnùis ithidh tu
aran, gus am pill thu dh' ionnsuidh na
talmhainn [s]; oir aisde thugadh thu:
oir *is* duslach thu, agus gu duslach
pillidh tu.
20 Agus thug Adhamh Eubha mar
ainm air a mhnaoi, do bhri' gu'm bi
màthair nan uile bheo i.
21 Agus rinn an Tighearna Dia do
Adhamh agus d'a mhnaoi, còtaichean
croicinn,

[a] *aithir.* [b] *innleachdaiche, raideile, shiteile, charaiche, chuilbheartaiche.* [c] *an t-eagal gu'm fuigh.* [d] *ar.* [e] *na sùilibh.* [f] *criosan.* Eabh. [g] *a' spaisdeireachd, a' sràid-imeachd.* [h] *ghoir, ghairm, ghlaodh,* [i] *a chionn mi bhi rùisgte.* [j] Go *de so a rinn thu?* [k] *spréidh.* [l] *ùir.* [m] *làethe, lathachan.* [n] *e-san, eisean.* [o] *iartus.* [p] *os do chionn.* [q] *oighionnach; foghannain.* Eir. [r] *follu..* [s] *ùire.*

Noah, agus Sem, agus Ham, agus Iaphet, mic Noaih, agus bean Noaih, agus triuir bhan 'a mhac maille *riu*, a ſteach do'n àirc;
14 Iad *féin*, agus gach uilè bheathach
a réir a ghnè, agus an ſpréidh uile a
réir an gnè, agus gach creutair a
ſhnàigeas a ta ſnàigeadh air an talamh
a réir a ghnè, agus an eunlaith uile a
réir an gnè, gach eun do gach ſeòrta.
15 Agus chaidh [a] iad a ſteach a
chum Noaih do'n àirc, 'a lìon dithis
agus dithis, do gach uile fheoil, anns
am bheil anail na beatha.
16 Agus iadſan a chaidh a ſteach,
firionn agus bainionn chaidh iad a
ſteach do gach uile fheoil, mar a
dh'àithn Dia dha: agus dhruid an
Tighearna ſtigh e.
17 Agus bha 'n dìle dà fhichead
là air an talamh, agus mheudaicheadh
na h-uiſgeachan, agus ghiùlain iad an
àirc, agus thogadh ſuas i os cionn na
talmhainn.
18 Agus bhuadhaich na h-uiſ-
geachan, agus mhèudaicheadh iad gu
h-anbarrach air an talamh; agus
ſhiubhail [b] an àirc air aghaidh nan
uiſgeacha.
19 Agus bhuadhaich na h-uiſ-
geacha gu ro-anbarrach air an talamh;
agus chòmhdaicheadh na beanntan
àrda uile, a *bha* fuidh na neamhaibh
gu léir.
20 Cùig làmh-choille deug air àirde
bhuadhaich na h-uiſgeachan; agus
chòmhdaicheadh na beannta.
21 Agus dh'eug [c] gach uile fheoil
a bha gluaſad air an talamh, araon do
eunlaith, agus do ſpréidh, agus do
bheathaichibh, agus do gach ni a
ſhnàigeas a ta ſnàigeadh air an talamh,
agus gach uile dhuine.
22 Gach ni aig *an robh* anail na
beatha ann an cuineinibh a ſhròine,
do na h-uile a *bha* air an *talamh* thio-
ram, dh'eug iad.
23 Agus ſgriosſadh gach uile dhùil
a bha air aghaidh na talmhainn, araon
duine agus ainmhidh [d], agus an creu-
tair a ſhnàigeas, agus eunlaith nan
ſpeur; agus ſgriosſadh iad bhàrr na
talmhainn, agus dh'fhàgadh a mhàin
Noah, agus na *bha* maille ris 'ſan àirc.
24 Agus bhuadhaich na h-uiſgeach-
an os cionn na talmhainn ceud agus
leth cheud là.

CAIB. VIII.

AGUS chuimhnich Dia air Noah,
agus gach ni beo, agus gach
uile ſpréidh a *bha* maille ris 'ſan àirc,
agus thug Dia air gaoith dol thairis
air an talamh, agus thraogh na h-ui-
ſgeacha.
2 Agus dhruideadh ſuas tobraiche
na doimhne, agus tuil-dhorſa nan
neamh; agus choiſgeadh an t-uiſge o
na nèamhaibh [e].
3 Agus phill na h-uiſgeachan a
ghnà [f] bhàrr na talmhainn: agus
thraogh na h-uiſgeachan 'an déigh
ceud agus leth-cheud là.
4 Agus ſtad an àirc anns an t-ſeach-
damh mìos, air an t-ſeachdamh là
deug do'n mhìos, air beanntaibh Ara-
rait.
5 Agus thraogh na h-uiſgeachan a
ghnà gus an deicheamh mìos: Anns
an deicheamh *mìos*, air a' cheud *là*
do'n mhìos, chunncas mullaiche nam
beann.
6 Agus 'an ceann dhà fhichead là,
dh'fhoſgail Noah uinneag na h-àirce a
rinn e.
7 Agus chuir e mach fitheach, a
chaidh mach a' dol air ais agus air
aghaidh, gus an do thiormaicheadh
na h-uiſgeacha bhàrr na talmhainn.
8 Mar an ceudna chuir e mach co-
luman uaithe, a dh'fhaicinn [g] an do
thraogh na h-uiſgeacha bhàrr aghaidh
na talmhainn.
9 Ach cha d'fhuair an columan
fois do bhonn a choiſe, agus phill e d'a
ionnſuidh do'n àirc, do bhri' gu'*n robh*
na h-uiſgeachan air aghaidh na tal-
mhainn uile. 'An ſin chuir e mach a
làmh, agus rug e air, agus thug e
ſtigh e d'a ionnſuidh do'n àirc.
10 Agus dh'fhan e fathaſt ſeachd

lathan

[a] *chuaidh.* Eir. [b] *dh'fhalbh, dh'imich.* [c] *bhàſaich.* [d] *eadar dhuine agus ainmhidh.* [e] *bha'n t-uiſge o na nèamhaibh air a choſgadh.* [f] *gun ſtad, a' dol air ais agus air aghaidh.* Eabh. [g] *dh'fhaicſinn.*

lathan [a] eile, agus a rìs chuir e mach an columan o'n àirc.

11 Agus thàinig an columan d'a ionnſuidh 'ſan fheaſgar, agus feuch, duilleag craoibh-ola, a ſpìonadh *leis*, aige 'na ghob: agus dh'aithnich Noah gu'n do thraogh na h-uiſgeacha bhàrr na talmhainn.

12 Agus dh'fhan e fathaſt ſeachd lathan eile, agus chuir e mach an columan; agus cha do phill e rìs d'a ionnſuidh ni's mò.

13 Agus anns an t-ſeathadh ceud bliadhna agus a h-aon, anns a' cheud *mhìos*, anns a' cheud *là* do'n mhìos, thiormaicheadh na h-uiſgeacha ſuas bhàrr na talmhainn: agus bhuin Noah air falbh còmhdachadh na h-àirce, agus dh'amhairc e, agus feuch, bha aghaidh na talmhainn tioram.

14 Agus 'ſan dara mìos, 'ſan t-ſeachdamh là 'ar fhichead do'n mhìos, bha'n talamh air tiormachadh.

15 Agus labhair Dia re Noah, ag ràdh,

16 Rach a mach as an àirc, thu *féin*, agus do bhean, agus do mhic, agus mnài do mhac maille riut.

17 Thoir a mach leat gach ni beo a *ta* maille riut, do gach uile fheoil, do eunlaith, agus do ſpréidh, agus do gach uile ni a ſhnàigeas [b] a ta ſnàigeadh air an talamh, chum as gu'n ſiolaich iad [c] air an talamh, agus gu'm bi iad torrach, agus gu'm fàs iad lìonmhor air an talamh.

18 Agus chaidh Noah a mach, agus a mhic, agus a bhean, agus mnài a mhac maille ris:

19 Chaidh gach uile bheathach, gach ni a ſhnàigeas, agus gach eun, gach ni ghluaiſeas air an talamh, a réir an cinéil [d], a mach as an àirc.

20 Agus thog Noah altair do'n Tighearna, agus ghabh e do gach ainmhidh glan, agus do gach eun glan, agus thug e ſuas [e] tabhartaſ loiſgte air an altair.

21 Agus dh'fhairich an Tighearna fàile cùbhraidh [f]; agus thubhairt an Tighearna 'na chridhe, Cha mhallaich mi rìs an talamh ni's mò air ſon an duine; oir *a tà* ſmuainte cridhe [g] an duine olc o òige; ni mò ſgrioſas mi tuille gach ni beo, mar a rinn mi.

22 Am feadh a mhaireas an talamh [h], cha ſguir àm an t-ſìl-chur agus foghar, agus fuachd agus teas, agus ſamhradh agus geamhradh, agus la agus oidhche.

CAIB IX.

AGUS bheannaich Dia Noah agus a mhic, agus thubhairt e riu, Siolaichibh, agus fàſaibh lìonmhor, agus lìonaibh an talamh.

2 Agus bithidh bhur n-eagal agus bhur fiamh-ſa air uile bheathaichibh na talmhainn, agus air uile eunlaith nan ſpeur, air gach ni a ghluaiſeas air an talamh, agus air uile iaſgaibh na mara; d'ar làimh-ſa tha iad air an tabhairt.

3 Bithidh gach ni gluaſadach a *ta* beo dhuibh mar bhiadh [i]; amhuil mar an luibh ghorm thug mi dhuibh na h-uile nithe.

4 Ach feoil maille r'a h-anam [k], *adhon* a fuil, cha'n ith ſibh.

5 Agus gu deimhin fuil bhur n-anma-ſa iarraidh miſe; air làimh gach beathaich iarraidh mi i, agus air làimh an duine; air làimh bràthar *gach* duine iarraidh mi anam an duine.

6 Ge b'e dhòirteas fuil duine, le duine dòirtear fhuil-ſan; oir ann an dealbh [l] Dhé rinn e an duine.

7 Agus bithibh-ſa ſìolmhar, agus fàſaibh lìonmhor, ginibh air an talamh, agus fàſaibh lìonmhor ann.

8 Agus labhair Dia re Noah, agus r'a mhic maille ris, ag ràdh,

9 Agus miſe, feuch, daingnichidh mi mo choi'-cheangal ribhſe, agus r'ar ſliochd 'nar déigh;

10 Agus ris gach uile chreutair beo a *ta* maille ribh, do eunlaith, do ſpréidh, agus do uile bheathaichibh na talmhainn maille ribh, o gach uile a ta dol a mach as an àirc, gu uile bheathaichibh na talmhainn.

11 Agus

[a] *lài, lathachan.* [b] *ſhnàgas.* [c] *gluais iad, ſnàig iad.* [d] *a réir an ſeòrtan.* [e] *dh'ofrail, thairg e.* [f] *bhol an Tighearna boladh cùbh-raidh.* [g] *croidhe.* Eir. [h] *Rè uile lài na talmhainn.* Eabh. [i] *chum bìdh.* [k] *beatha.* [l] *iombaigh, coſlas.*

ceud, tri fichead, agus dà bhliadhna;
agus fhuair e bàs.
21 Agus bha Enoch beo tri fichead
gus cùig bliadhna, agus ghin e Me-
tuſelah.
22 Agus ghluais Enoch maille re
Dia, 'n déigh dha Metuſelah a ghin-
tinn, tri cheud bliadhna, agus ghin e
mic agus nigheana.
23 Agus b' iad uile lài Enoich tri
cheud, agus tri fichead, agus cùig
bliadhna.
24 Agus ghluais Enoch maille re
Dia, agus cha *robh* e ann, oir thug Dia
leis e.
25 Agus bha Metuſelah beo ceud,
agus ceithir fichead, agus ſeachd
bliadhna, agus ghin e Lamech.
26 Agus bha Metuſelah beo, 'n
déigh dha Lamech a ghintinn, ſeachd
ceud, ceithir fichead, agus dà bhliadh-
na, agus ghin e mic agus nigheana.
27 Agus b' iad uile lài Mhetuſe-
laih naoi ceud agus tri fichead agus
naoi bliadhna; agus fhuair e bàs.
28 Agus bha Lamech beo ceud
agus ceithir fichead agus dà bhliadhna,
agus ghin e mac.
29 Agus thug e Noah mar ainm
air, ag ràdh, Bheir an ti ſo *féin* sòlas
dhuinne thaobh ar n-oibre agus ſaoith-
reach ar làmh, a thaobh na talmhainn
a mhallaich an Tighearn.
30 Agus bha Lamech beo, 'n déigh
dha Noah a ghintinn, cùig ceud,
ceithir fichead, agus cùig-bliadhna-
deug; agus ghin e mic agus nighea-
na.
31 Agus b' iad uile lài Lameich,
ſeachd ceud agus tri fichead agus
ſeachd-bliadhna-deug; agus fhuair e
bàs.
32 Agus bha Noah cùig ceud bliadh-
na dh'aois: agus ghin Noah Sem,
Ham, agus Iaphet.

CAIB VI.

AGUS 'nuair a thòiſich daoine re
fàs lìonmhor air aghaidh na
talmhainn, agus a rugadh nigheana
dhoibh;
2 Agus a chunnaic mic Dhé nigh-
eana dhaoine [a], gu'*n robh* iad ſgiamh-
ach, ghabh iad dhoibh fein mnài do
gach uile a ròghnaich iad.
3 Agus thubhairt an Tighearna,
Cha bhi mo Spiorad a'ſtri' ris an duine
a ghnà [b], do bhri' gur feoil a mhàin
e [c]: gidheadh bithidh a lathan ceud
agus fichead bliadhna.
4 Bha famhairean [d] air an talamh
'ſna laithibh ſin; agus mar an ceudna
'na dhéigh ſin, 'nuair a thàinig mic
Dhé a ſteach a chum nigheana dhaoine,
agus a rug iad *clann* dhoibh, *dh'fhàs*
iad ſin 'nan daoinibh treuna, a *bha* o
ſhean 'nan daoinibh ainmeil.
5 Agus chunnaic an Tighearna
gu'*m bu* mhòr aingidheachd an duine
air an talamh, agus *gu'n robh* uile
bhreithneachadh ſmuaintean a chridhe
a mhàin olc gach aon là [e].
6 Agus b' aithreach leis an Tigh-
earna gu'n d' rinn e 'n duine air an
talamh, agus thog e doilgheas [f] da 'na
chridhe.
7 Agus thubhairt an Tighearna,
Sgrioſaidh mi 'n duine, a chruthaich
mi, bhàrr aghaidh na talmhainn, ar-
aon duine agus ainmhidh, agus an *creu-
tair* a ſhnàigeas, agus eunlaith nan
ſpeur; oir is aithreach leam gu'n d'
rinn mi iad.
8 Ach fhuair Noah deagh-ghean [g]
ann an sùilibh an Tighearna.
9 'S iad ſo ginealaich Noaih: Bha
Noah 'na dhuine cothromach [h], *agus*
iomlan 'na linn [i]; *agus* ghluais Noah
maille re [k] Dia.
10 Agus ghin Noah triuir mhac,
Sem, Ham, agus Iaphet.
11 Agus bha 'n talamh truaillidh
am fianais Dé, agus lìonadh an talamh
le foirneart.
12 Agus dh'amhairc Dia air an
talamh, agus feuch, bha e truaillidh;
oir thruaill gach uile fheoil a ſlighe air
an talamh.
13 Agus thubhairt Dia re Noah,
Thàinig crìoch gach uile fheòla a'm'
fhianuis; oir tha'n talamh air a lìon-
adh le foirneart d'an trìd-ſan [l]: agus
feuch, ſgrioſaidh miſe iad maille ris
an talamh.

14 Dean

[a] *chunnaic mic nan* daoine *cumhachdach nigheana dhaoin'* ìſle. [b] *ghnàth.* [c] *gur feoil eſan mar an ceudna.* [d] *fuambairean, curaidhean, athaich.* [e] *'an còmhnuidh, daonan.* [f] *cràdh, mulad.* [g] *àbhor.* [h] *ceart, ionruic,* [i] *'na ghinealachaibh.* [k] *ri.* [l] *le h-urchoid leo-ſan.*

14 Dean dhuit féin àirc do fhiodh ghopher; seòmraichean ni thu 'san airc [a], agus còmhdaichidh tu i stigh agus a muigh le pic.

15 Agus so *a' chumachd* air an dean thu i: Tri cheud làmh-choille [b] fad na h-àirce, leth-cheud làmh-choille a leud, agus deich 'ar fhichead [c] làmh-choille a h-àirde.

16 Uinneag [d] ni thu do'n àirc, agus 'an làimh-choille crìochnaichidh tu i 'na mullach [e]; agus dorus na h-àirce cuiridh tu 'na taobh: *le lobhtaibh* ìochdrach, meadhonach [f], agus uachdrach [g] ni thu i.

17 Agus feuch, bheir mise, eadhon mise, dìle uisgeachan air an talamh, a sgrios gach uile fheòla, anns *am bheil* anail na beatha fuidh [h] nèamh: *agus* gheibh gach ni a *ta* air an talamh bàs.

18 Ach daingnichidh mi mo choi'-cheangal [i] riutsa: agus théid thu a steach do'n àirc, thu *féin*, agus do mhic, agus do bhean, agus mnài [k] do mhac maille riut.

19 Agus do gach uile *ni* beo do'n uile fheoil, dithis do gach *seòrta* [l] bheir thu steach do'n àirc, gu'*n* gleidheadh beò maille riut: firionn agus bainionn [m] bithidh siad.

20 Do'n eunlaith a réir an gnè, agus do'n spréidh a réir an gnè, *agus* do gach ni a shnàigeas air an talamh a réir a ghnè: théid dithis do gach *seòrta* steach a't' ionnsuidh, gu'*n* gleidheadh beo.

21 Agus gabh thusa dhuit do gach uile bhiadh a dh'ithear, agus cruinnichidh tu a't' ionnsuidh *e;* agus bithidh e dhuitse agus dhoibhsan air son beathachaidh [n].

22 Mar so rinn Noah; a réir gach ni a dh'àithn Dia dha, mar sin rinn e.

CAIB. VII.

AGUS thubhairt an Tighearna re Noah, Rach thusa [o], agus do thigh uile, a steach do'n àirc; oir thusa chunnaic mi cothromach a'm' fhianuis 'sa' ghinealach so [p].

2 Do gach uile ainmhidh glan gabhaidh tu dhuit 'nan seachdaibh, an firionn agus a bhainionn; agus do ainmhidhibh nach *'eil* glan, 'nan dithisibh [q], am firionn agus a bhainionn:

3 Mar an ceudna do eunlaith nan speur' nan seachdaibh, firionn agus bainionn, a ghleidheadh sìl beò air aghaidh na talmhainn uile:

4 Oir fathast seachd lathan, agus bheir mise air uisge teachd air an talamh dà fhichead là agus dà fhichead oidhche; agus sgriosaidh mi [r] gach dùil *bheo* a rinn mi, bhàrr aghaidh na talmhainn.

5 Agus rinn Noah a réir gach ni a dh'àithn an Tighearna dha.

6 Agus *bha* Noah sè ceud bliadhna dh'aois, 'nuair a bha 'n dìle [f] uisgeachan air an talamh.

7 Agus chaidh Noah steach, agus a mhic, agus a bhean, agus mnài a mhac maille ris, do'n àirc, air son uisgeacha na dìle.

8 Do ainmhidhibh glan, agus do ainmhidhibh nach *'eil* glan, agus do eunlaith, agus *do* gach ni a shnàigeas air an talamh.

9 Chaidh dithis agus dithis [s] a steach a dh'ionnsuidh Noaih do'*n* àirc, firionn agus bainionn, a réir mar a dh'àithn Dia do Noah.

10 Agus 'an déigh sheachd làì bha uisgeacha na dìle air an talamh.

11 Anns an t-seathadh ceud bliadhna dh'aois Noaih, 'san dara mìos, 'san t-seachdamh latha deug do'n mhìos, 'san là sin féin bhriseadh suas uile thobraiche na doimhne mòire, agus bha tuil-dhorsa [t] nan neamh air am fosgladh.

12 Agus bha'n t-uisg' air an talamh dà fhichead là agus dà fhichead oidhche.

13 'Sa' cheart là sin féin [u] chaidh Noah,

[a] *'na seòmraichibh beaga ni thu an àir.* [b] *bann-lamh.* [c] *deich thar fhichead.* [d] *Fuinneog.* Eir. [e] *os cionn.* [f] *dara.* [g] *treas.* [h] *fo.* [i] *mo chunradh, mo chùmhnant.* [k] *mrathan.* [l] *seòrsa.* [m] *boirionn.* [n] *air son bìdh, mar lòn.* [o] *Theirig thusa, gabh thusa.* [p] *'san linn so.* [q] *'nan càraidibh.* [r] *dubh-aidh mi as.* [f] *dìlinn, tuil.* [s] *a lìon dithis agus dithis.* [t] *uinneaga.* [u] *Ann an corp an là sin fein.* Eabh.

11 Agus daingnichidh mi mo choi'-cheangal ribh, agus cha sgriosar gach uile fheoil tuille le h-uisgibh na dìle: agus cha bhi dìle ann ni's mò a sgrios na talmhainn.

12 Agus thubhairt Dia, So comhar' a' choi'-cheangail a *tha* mi toirt eadar mise agus sibhse, agus gach creutair beo a *ta* maille ribh, feadh ghinealacha siorruidh [a]:

13 Mo bhogha cuiridh mi [b] anns an neul, agus bithidh e 'na chomhara coi'-cheangail eadar mise agus an talamh.

14 Agus tarlaidh, 'nuair a bheir mi neul os cionn na talmhainn, gu'm faicear am bogha anns an neul.

15 Agus cuimhnichidh mi mo choi'-cheangal a *ta* eadar mise agus sibhse, agus gach creutair beo do'n uile fheoil; agus cha'n fhàs ni's mò na h-uisgeacha 'nan dìle a sgrios gach uile fheòla.

16 Agus bithidh am bogha anns an neul, agus amhaircidh mi air, chum as gu'n cuimhnich mi 'n coi'-cheangal siorruidh eadar Dia agus gach creutair beo do'n uile fheoil, a *ta* air an talamh.

17 Agus thubhairt Dia re Noah, So comhar' a' choi'-cheangail, a dhaingnich mi eadar mi féin agus gach uile fheoil a *ta* air an talamh.

18 Agus b'iad mic Noaih a chaidh mach as an àirc, Sem, agus Ham, agus Iaphet: agus *'se* Ham athair Chanaain.

19 *Is iad* sin triuir mhac Noaih: agus leo sin lìonadh an talamh uile.

20 Agus thòisich Noah air *a bhi* 'na fhear-*saoithreach* [c] na talmhainn, agus shuidhich e fìon-gharadh [d].

21 Agus dh'òl e do'n fhìon, agus bha e air mhisg [e], agus bha e lomnochd a stigh 'na bhùth.

22 Agus chunnaic Ham, athair Chanaain, nochd [f] athar, agus dh'innis e d'a dhà bhràthair a muigh.

23 Agus ghabh Sem agus Iaphet brat, agus chuir iad le chéile air an guailnibh, agus chaidh iad 'n comh-air an cùil, agus chòmhdaich iad nochd an athar; agus *bha*'n aghaidhean air an ais, agus cha'n fhac iad nochd an athar.

24 Agus dhùisg Noah o fhìon, agus thuig e ciod a rinn a mhac a b'òige air.

25 Agus thubhairt e, Mallaichte *gu'n robh* Canaan; 'na sheirbhiseach nan seirbhiseach bithidh se d'a bhràithribh.

26 Agus thubhairt e, Beannaichte *gu'n robh* Tighearna Dia Sheim; agus bithidh Canaan'na sheirbhiseach dha [g].

27 Ni Dia Iaphet farsaing [h], agus còmhnuichidh se ann am bùthaibh Sheim; agus bithidh Canaan 'na sheirbhiseach dha [i].

28 Agus bha Noah beo 'n déigh na dìle tri cheud agus leth-cheud bliadhna.

29 Agus b'iad lathacha Noaih uile naoi ceud agus leth-cheud bliadhna: agus shuair e bàs.

CAIB. X.

ANIS *is iad* sin ginealaich mhac Noaih; Sem, Ham, agus Iaphet: agus rugadh dhoibh mic 'an déigh na dìle.

2 Mic Iapheit; Gomer, agus Magog, agus Madai, agus Iabhan, agus Tubal, agus Mesech, agus Tiras.

3 Agus mic Ghomeir; Ascenas, agus Riphat, agus Togarmah.

4 Agus mic Iabhain; Elisa, agus Tarsis, Cittim, agus Dodanim.

5 Leo sin roinneadh eileana nan cinneach 'nan tìribh féin, gach aon a réir a theangaidh, a réir an teaghlaichean, 'nan cinneachaibh [k].

6 Agus mic Ham; Cus, agus Misraim, agus Phut, agus Canaan.

7 Agus mic Chuis; Seba, agus Habhilah, agus Sabtah, agus Raamah, agus Sabtecha: agus mic Raamaih; Seba, agus Dedan.

8 Agus ghin Cus Nimrod: thòisich esan air a bhi cumhachdach 'san talamh.

9 Bha e 'na shealgair cumhachdach 'an làthair an Tighearna: Uime sin

theirear,

[a] *o linn gu linn.* [b] *chuir mi.* Eabh. [c] *threabhaiche.* [d] *fìon-lios.* [e] *mheisg.* [f] *lomnochduigh.* [g] *dhoibh.* Eabh. [h] *leudaichidh.* [i] *dhoibh.* Eabh. [k] *dùchannaibh.*

theirear, Amhuil mar Nimrod an sealgair cumhachdach 'an làthair an Tighearna.

10 Agus b'e toiseach a rìoghachd Babel, agus Erech, agus Acad, agus Calnèh, ann an tìr Shinair.

11 As an tìr sin chaidh a mach Asur, agus thog e Ninebheh, agus baile Rehobot, agus Calah.

12 Agus Resen eadar Ninebheh agus Calah: *is* baile mòr sin.

13 Agus ghin Misraim Ludim, agus Anamim, agus Lehabim, agus Naphtuhim,

14 Agus Patrusim, agus Casluhim, (o 'n d'thàinig a mach Philistim) agus Caphtorim,

15 Agus ghin Canaan Sidon a cheud-ghin, agus Het,

16 Agus an Iebusach, agus an t-Amorach, agus an Girgasach.

17 Agus an t-Ibheath, agus an t-Harcach, agus an Sìneach.

18 Agus an t-Arbhadach, agus an Semarach, agus an t-Hamatach: agus 'na dhéigh sin sgaoileadh a mach teaghlaichean nan Canaanach.

19 Agus bha crìoch nan Canaanach o Shidon, mar a thig thu gu Gerar gu nuig Gadsa, mar a théid thu gu Sodom agus Gomorrah, agus Admah, agus Seboim, gu nuig Lasa.

20 *Is iad* sin mic Ham, a réir an teaghlaichean, a réir an teanganna, 'nan tìribh, *agus* 'nan cinneachaibh.

21 Agus do Shem féin mar an ceudna, athair chloinn Ebeir uile, bràthair Iapheit bu shine, rugadh *clann.*

22 Clann Sheim; Elam, agus Asur, agus Arphacsad, agus Lud, agus Aram.

23 Agus clann Araim; Uds, agus Hul, agus Geter, agus Mas.

24 Agus ghin Arphacsad Salah, agus ghin Salah Eber.

25 Agus do h-Eber rugadh dithis mhac: *b'e* ainm a h-aon diubh Peleg, oir 'na laithibh-san roinneadh an talamh; agus ainm a bhràthar, Ioctan.

26 Agus ghin Ioctan Almodad, agus Seleph, agus Hadsarmabhet, agus Ierah.

27 Agus Hadoram, agus Udsal, agus Diclah,

28 Agus Obal, agus Abimael, agus Seba,

29 Agus Ophir, agus Habhilah, agus Iobab: *b'iad* sin uile mic Ioctain.

30 Agus bha'n àite-còmhnuidh o Mhesa, mar a théid thu gu Sephar, beinn 'san àird an ear.

31 *Is iad* sin mic Sheim, a réir an teaghlaichean, a réir an teanganna, 'nan tìribh, a réir an cinneacha.

32 *Is iad* sin teaghlaichean mhac Noaih, a réir an ginealacha, 'nan cinneachaibh: agus leo sin roinneadh na cinnich anns an talamh 'an déigh na dìle.

CAIB. XI.

AGUS bha'n talamh uile *dh'*aon teangaidh, agus na h-aon fhocail [b] *aig gach neach.*

2 Agus 'nuair a bha iad air an turus o'n àird an ear, fhuair iad còmhnard ann an talamh Shinair, agus ghabh iad còmhnuidh 'an sin.

3 Agus thubhairt iad gach aon re chéile, Thigibh, deanamaid clacha creadha [c], agus làn-loisgeamaid [d] iad: Agus bha chlach chreadha aca air son cloiche, agus bha làthach [e] aca air son moirteir [f].

4 Agus thubhairt iad, Thigibh, togamaid dhuinn féin baile, agus tùr, aig am bi mhullach *a' ruigheachd* gu neamh [g], agus deanamaid dhuinn féin ainm, an t-eagal gu'n sgaoilear [h] o chéile sinn air aghaidh na talmhainn uile.

5 Agus thàinig an Tighearn a nuas a dh'fhaicinn a' bhaile, agus an tùir, a thog clann nan daoine.

6 Agus thubhairt an Tighearna, Feuch, *is* aon sluagh *a t'ann,* agus aon teanga ac'uile; agus thòisich iad air so a dheanamh: agus a nis cha bhacar dhiubh ni air bith, a smuainich [i] iad a dheanamh.

7 Thigibh, rachamaid sìos, agus cuireamaid

[b] *chainnt.* [c] *bricks.* Sax. [d] *deagh-loisgeamaid.* [e] *làthach cosmhuil re pic, pic-thalmhainn.* [f] *ceangail.* [g] *aig am bi mhulach* àrd *anns athar.* [h] *sgapar.* [i] *bheachdaich.*

cuireamaid an cainnt ann an sin thar a chéile [a], chum as nach tuig iad cainnt a chéile.

8 Mar sin sgaoil an Tighearn iad uaithe sin air aghaidh na talmhainn uile: agus sguir iad do thogail a' bhaile.

9 Uime sin thugadh Babel mar ainm air, do bhrigh ann an sin gu'n do chuir an Tighearna thar a' chéile cainnt na talmhainn uile: agus uaithe sin sgaoil an Tighearn iad air aghaidh na talmhainn uile.

10 *Is iad* sin ginealaich Sheim: *Bha* Sem ceud bliadhna dh'aois, agus ghin e Arphacsad da bhliadhna 'n déigh na dile.

11 Agus bha Sem beo, 'an déigh dha Arphacsad a ghintinn, cùig ceud bliadhna; agus ghin e mic agus nigheana.

12 Agus bha Arphacsad beo, cùig bliadhna deug 'ar fhichead [b], agus ghin e Salah.

13 Agus bha Arphacsad beo, 'an déigh dha Salah a ghintinn, ceithir cheud agus tri bliadhna; agus ghin e mic agus nigheana.

14 Agus bha Salah beo deich bliadhna fichead, agus ghin e Eber.

15 Agus bha Salah beo 'an déigh dha Eber a ghintinn, ceithir cheud agus tri bliadhna; agus ghin e mic agus nigheana.

16 Agus bha Eber beo ceithir bliadhna deug 'ar fhichead, agus ghin e Peleg.

17 Agus bha Eber beo, 'an déigh dha Peleg a ghintinn, ceithir cheud agus deich bliadhna fichead; agus ghin e mic agus nigheana.

18 Agus bha Peleg beo deich bliadhna fichead; agus ghin e Reu.

19 Agus bha Peleg beo 'an déigh dha Reu a ghintinn, dà cheud agus naoi bliadhna; agus ghin e mic agus nigheana.

20 Agus bha Reu beo dà bhliadhna dheug 'ar fhichead; agus ghin e Serug.

21 Agus bha Reu beo 'an déigh dha Serug a ghintinn, dà cheud agus seachd bliadhna; agus ghin e mic agus nigheana.

22 Agus bha Serug beo deich bliadhna fichead; agus ghin e Nahor.

23 Agus bha Serug beo 'an déigh dha Nahor a ghintinn, dà cheud bliadhna; agus ghin e mic agus nigheana.

24 Agus bha Nahor beo naoi bliadhna fichead; agus ghin e Terah.

25 Agus bha Nahor beo 'an déigh dha Terah a ghintinn, ceud agus naoi bliadhna deug, agus ghin e mic agus nigheana.

26 Agus bha Terah beo deich is tri fichead bliadhna; agus ghin e Abram, Nahor, agus Haran.

27 A nis *is iad* sin ginealaich Theraih: ghin Terah Abram, Nahor, agus Haran; agus ghin Haran Lot.

28 Agus fhuair Haran bàs roimh Therah athair, 'san tìr anns an d' rugadh e, ann an Ur nan Caldeanach.

29 Agus ghabh Abram agus Nahor mnài dhoibh féin: *B'e* ainm mnà Abraim, Sarai; agus ainm mnà Nahoir, Milcah, nighean Harain athar Mhilcaih, agus athar Iscaih.

30 Ach bha Sarai neo-thorrach [c]; cha *robh* duine cloinne aice.

31 Agus ghabh Terah Abram a mhac, agus Lot mac Harain mac a mhic, agus Sarai a bhan-chliamhuinn, bean Abraim a mhic; agus chaidh iad a mach maille riu a h-Ur nan Caldeanach, gu dol do thìr Chanaain: agus thàinig iad gu Haran, agus ghabh iad còmhnuidh ann an sin.

32 Agus b'iad lathan Theraih dà cheud agus cùig bliadhna: agus fhuair Terah bàs ann an Haran.

C A I B XII.

AGUS thubhairt an Tighearna re h-Abram, Rach [d] a mach a d' dhùthaich, agus o d' dhislibh, agus a tigh t'athar, do'n tìr a nochdas [e] mise dhuit.

2 Agus ni mi thu a' d' chinneach mòr [f], agus beannaichidh mi thu, agus ni mi t'ainm mòr: agus bithidh tu a'd' bheannachadh.

3 Agus beannaichidh mi iadsan a bheannaicheas tu, agus iadsan a mhallaicheas tu mallaichidh mi; agus annadsa beannaichear uile theaghlaiche na talmhainn.

4 Agus dh'imich Abram, mar a labhair an Tighearna ris, agus chaidh Lot maille ris: agus *bha* Abram cùig bliadhna

[a] *air aimh-reidh.* [b] *thar a fichead.* [c] *seasg; aimrid.* Eir. [d] *Imich; falbh.* [e] *dh'fheuchas.* [f] *ni mise fine mhòr dhiot.*

bliadhna deug is tri fichead a dh'aois
'nuair a chaidh e mach a Haran.
5 Agus ghabh Abram Sarai a
bhean, agus Lot mac a bhràthar, agus
am maoin uile a chruinnich iad [a], a-
gus na h-anmanna fhuair iad ann an
Haran, agus chaidh iad a mach gu dol
do thìr Chanaain, agus thàinig iad do
thìr Chanaain.
6 Agus chaidh Abram air aghaidh
'san fhearann gu àite Shicheim, gu
comhnard [b] Mhoreih. Agus *bha* 'n
Canaanach 'an sin 'san tìr.
7 Agus dh'fhoillsich an Tighearn e
fèin [c] do Abram, agus thubhairt e,
Do d' shliochd-sa bheir mise am fea-
rann so: agus thog e'n sin altair do'n
Tighearn, a dh'fhoillsicheadh dha.
8 Agus chaidh e as sin gu sliabh air
an taobh an ear do Bhetel, agus shui-
dhich e bhùth, *agus* Betel *aige* air an
taobh an iar, agus Hai air an taobh
an ear: agus thog e 'n sin altair do'n
Tighearn, agus ghairm e air ainm an
Tighearna.
9 Agus dh'imich Abram, a' sìr-
dhol air aghaidh mu dheas [d].
10 Agus bha gorta 'san tìr: agus
chaidh Abram sios do'n Eiphit, gu
bhi air chuairt ann an sin, do bhrìgh
gu'*n robh* a' ghorta mòr 'san tìr.
11 Agus 'nuair a bha e dlùth do
dhol a stigh do'n Eiphit thubhairt e
re Sarai a bhean, Feuch a nis, tha fios
agam gur bean mhaiseach [e] thusa re
amharc ort.
12 Uime sin, 'nuair a chi na h-Ei-
phitich thu, their iad, So a bhean:
agus marbhaidh iad mise, ach gleidh-
idh iad thusa beo.
13 Abair, guidheam ort, gur tu
mo phiuthar, chum gu'n éirich gu
math dhomh air do sgàth-sa; agus
bithidh m' anam beo air do shon-sa.
14 Agus 'nuair a thàinig Abram
do'n Eiphit, chunnaic na h-Eiphitich
a' bhean, gu'*n robh* i ro-mhaiseach.
15 Chunnaic mar an ceudna cean-
nardan [f] Pharaoih i, agus mhol iad i
do Pharaoh: agus thugadh a steach
a' bhean do thigh Pharaoih.
16 Agus bhuin e gu math re h-A-
bram air a sgàth sa: agus bha aige
caoraich, agus daimh, agus asail fhi-
rionn, agus òglaich, agus ban-oglaich,
agus asail bhainionn, agus càmhail.
17 Agus bhuail an Tighearna Pha-
raoh agus a thigh le plàighibh mòra,
air son Sharai mnà Abraim.
18 Agus ghairm [g] Pharaoh air A-
bram, agus thubhairt e, Ciod so *a*
rinn thu orm? c'ar son nach d'innis
thu dhomh gu'*m b'i* so do bhean?
19 C'ar son a thubhairt thu, '*Si*
mo phiuthar i? Mar sin dh'fheudainn
a gabhail a'm' ionnsuidh mar mhnaoi;
a nis ma ta feuch do bhean, gabh i,
agus bi 'g imeachd [h].
20 Agus thug Pharaoh àithne d' *a*
dhaoinibh m'a thimchioll; agus chuir
iad air falbh e féin, agus a bhean, a-
gus gach ni a bh' aige.

CAIB. XIII.

AGUS chaidh Abram suas as an
Eiphit, e féin, agus a bhean,
agus gach ni a *bh'* aige, agus Lot
maille ris, do'n taobh mu dheas.
2 Agus *bha* Abram ro-shaibhir [i]
ann an spréidh, ann an airgiod, agus
ann an òr.
3 Agus dh'imich e 'na thurusaibh
o'n taobh mu dheas eadhon gu Betel,
gu nuig an t-àite, anns an robh a bhùth
'an toiseach, eadar Betel agus Hai;
4 Gu àite na h-altarach a rinn e'n
sin air tùs: agus ghairm Abram ann
an sin air ainm an Tighearna.
5 Agus bha mar an ceudna aig Lot,
a dh'imich maille re h-Abram, caor-
aich, agus crodh, agus bùthan [k].
6 Agus cha robh am fearann com-
asach air an giùlan [l] gu còmhnuidh a
ghabhail cuideachd; oir bha'm maoin
mòr, agus cha b'urrainn [m] iad comh-
nuidh ghabhail cuideachd [n].
7 Agus bha comh-stri eadar bua-
chaillean [o] spréidh Abraim, agus bua-
chaillean spréidh Lot: agus bha 'n
Canaanach agus am Periseach 'san àm
sin a chòmhnuidh 'san tìr.
8 Agus thubhairt Abram re Lot,
Na bitheadh, guidheam ort, comh-stri
eadar mise agus thusa, agus eadar mo
bhuachaillean agus do bhuachaillean-
sa; oir *is* bràithre sinn.
9 Nach '*eil* an tìr uile romhad?

C Dealaich,

[a] *chombaich iad.* [b] *darag.* Eabh. [c] *thaisbean an Tighearn e féin; chun-
nas an Tighearna.* Eabh. [d] *fa dheas, san àirde deas.* [e] *sgiamhach.*
[f] *maithean, prionnsuidh.* [g] *ghoir, ghlaodh.* [h] *imich romhad.* [i] *ro-steaidh-
bhir, ro-bheartach.* [k] *bùithean.* [l] *an iomchar.* [m] *ionnas nach b'urradh.*
[n] *an aon àite.* [o] *aodhairean.*

Dealaich, guidheam ort, riumsa: ma
ghabbas tu dh'ionnsuidh na làimhe cli,
an sin théid mise dh'ionnsuidh na
làimhe deise; agus ma *théidthu* dh'ionn-
suidh na làimhe deise, 'an sin gabh-
aidh mise dh'ionnsuidh na laimhe cli.
10 Agus thog Lot suas a shùilean,
agus chunnaic e còmhnard Iordain uile,
gu'*n robh e* gu léir air uisgeachadh gu
math, mu'n do sgrios an Tighearna
Sodom agus Gomorrah, *eadhon* mar
ghàradh an Tighearna, cosmhuil re
talamh na h-Eiphit, mar a thig thu
gu Soar.
11 Agus thagh Lot dha féin còmh-
nard Iordain uile; agus ghabh Lot a
thurus o'n àird an ear, agus dhealaich
na càirdean re chéile [a].
12 Ghabh Abram còmhnuidh ann
an tìr Chanaain, agus ghabh Lot còmh-
nuidh 'am bailtibh a' chòmhnaird,
agus shuidhich e bhùth aig Sodom.
13 Ach *bha* daoine Shodoim ain-
gidh, agus 'nam peacaich am fianais
an Tighearna gu ro-mhòr.
14 Agus thubhairt an Tighearna
re h-Abram, 'an déigh do Lot deala-
chadh ris, Tog a nis suas do shùilean,
agus amhairc o'n àit'anns am bheil thu,
gu tuath, agus gu deas, agus gus an
aird an ear, agus an iar:
15 Oir am fearann uile a *ta* thu a'
faicinn, dhuitse bheir mi e, agus do d'
shliochd gu bràth.
16 Agus ni mise do shliochdsa mar
dhuslach na talmhainn; ionnas ma
bhios e'n comas do dhuine duslach na
talmhainn àireamh, *'an sin* gu'n àir-
mhear do shliochd-sa mar an ceudna.
17 Eirich, imich air feadh an fhea-
rainn 'na fhad agus 'na leud, oir
dhuitse bheir mi e.
18 Agus dh' atharaich Abram *a*
bhùth, agus thàinig e, agus ghabh e
còmhnuidh ann an còmhnard Mhàm-
re [b], a *tha* ann an Hebron; agus thog
e'n sin altair do'n Tighearna.

C A I B. XIV.

AGUS tharladh ann an laithibh
Amrapheil righ Shinair, Arioich
righ Elasair, Chedorlaomeir righ Ela-
im, agus Thidail righ nan cinneach [c];
2 *Gu'n d'* rinn *iad sin* cogadh re Be-
ra righ Shodoim, agus re Birsa righ
Ghomorraih, Sinab righ Admaih, a-
gus Semeber righ Sheboim, agus righ
Bhela, eadhon Shoair.
3 Chaidh iad sin uil' ann an co'-
bhoinn re chéile ann an gleann Shidim,
a tha *nis* 'na fhairge shalainn.
4 Dà bhliadhna dheug rinn iad seir-
bhis do Chedorlaomer, agus anns an treas
bliadhna deug rinn iad ceannairc [d].
5 Agus anns a' cheathramh bliadh-
na deug thàinig Cedorlaomer, agus na
righrean a *bha* maille ris, agus bhuail
iad na Rephaimich ann an Asterot
Carnaim, agus na Susimich ann an
Ham, agus na h-Emimich ann an Sa-
bheh Ciriataim.
6 Agus na Horich 'nan sliabh Seir,
gu ruig El-paran [e], a *tha* làimh ris an
fhàsach.
7 Agus phill iad, agus thàinig iad
gu Hen-mispat, eadhon Cades, agus
bhuail iad dùthaich nan Amaleceach
uile, agus mar an ceudna na h-Amo-
raich, a bha chòmhnuidh ann an Ha-
seson Tamar.
8 Agus chaidh righ Shodoim a
mach, agus righ Ghomorraih, agus righ
Admaih, agus righ Sheboim, agus righ
Bhela (eadhon Shoair,) agus chuir iad
cath [f] riu ann an gleann Shidim:
9 Re Cedorlaomer righ Elaim, a-
gus re Tidal righ nan cinneach, agus
re h-Amraphel righ Shinair, agus re
h-Arioch righ Elasair; ceithir righ-
ridh re cùig.
10 Agus *bha* gleann Shidim *làn do*
shlochdaibh làthaich [g]; agus theich
righ Shodoim, agus righ Ghomorraih,
agus thuit iad 'an sin; agus iadsan a
mhair [h], theich iad do'n t-sliabh.
11 Agus thug iad leo uile mhaoin
Shodoim agus Ghomorraih, agus am
biadh uile, agus dh'imich iad rompa.
12 Agus thug iad leo Lot, mac
bràthar Abraim (a bha chòmhnuidh
ann an Sodom) agus a mhaoin, agus
dh'imich iad.
13 Agus thainig *a h-aon* a chaidh
as, agus dh'innis e do Abram an t-
Eabhruidheach, a bha chòmhnuidh ann
an còmhnard Mhamre an Amoraich,
bràthar Escoil, agus bràthar Aneir: agus
bha iad sin ann an co'bhoinn re h-Abram.
14 Agus 'nuair a chual' Abram gu'n
do ghlacadh a bhràthair 'na phriosa-
nach

[a] *dhealaicheadh iad gach fear o bhràthair.* Eabh. [b] *aig daragaibh Mhamre* Eabh. [c] *fineacha, dùchanna.* [d] *ar a mach.* [e] *còmhnard Pharain.* [f] *blàr.* [g] *pic-thalmhainn.* [h] *iadsan a dh'fhàgadh.*

nach, dh'armaich e ſoeirbbiſich iunn-
faichte [a], a rugadh 'na thigh fein, tri
cheud agus ochd-deug; agus lean e
iad gu Dan.
15 Agus roinn ſe e ſéin 'nan agh-
aidh ſan oidhche, e ſéin agus a their-
bhiſich, agus bhuail e iad, agus lean e
iad [b] gu Hoba, a *ta* air an làimh chli
do Dhamaſcus.
16 Agus thug e air ais a' mhaoin
uile, agus mar an ceudna thug e air ais
a bhràthair Lot, agus a mhaoin; agus
mar an ceudna na mnài agus an ſluagh.
17 Agus chaidh righ Shodoim a
mach 'na choinnneamh, 'an déigh dha
pilltinn o mharbhadh Chedorlaomeir,
agus nan righ a *bha* maille ris, aig
gleann Shabheh, eadhon gleann an
righ.
18 Agus thug Melchiſedec righ
Shaleim a mach aran agus fion: agus
b'eſan ſagart an Dè a's ro-àirde.
19 Agus bheannaich ſe e, agus thu-
bhairt e, Beannaichte *gu'n robh* Abram
o'n Dia a's ro-airde, ſealbhadair néimh
agus na talmhainn.
20 Agus beannaichte *gu'n robh* an
Dia a's ro-àirde, a thug thairis do
naimhde do d'làimh. Agus thug e
dha deachamh do gach ni.
21 Agus thubhairt righ Sho-
doim re h-Abram, Thoir dhomhſa
na daoine [c], agus gabh a' mhaoin
dhuit féin.
22 Agus thubhairt Abram re righ
Shodoim, Thog mi mo làmh ſuas ris
an Tighearn, an Dia a's ro-àirde, Seal-
bhadair néimh agus na talmhainn.
23 Nach gabh mi o ſhnàthainn eadh-
on gu h-éill bròige, agus nach gabh
mi *bheag* a dh'aon ni a's leatſa, chum
as nach abair thu, Rinn mi Abram
beartach?
24 Saor a mhàin o na dh'ith [d] na h-
òganaich, agus o chuibhrionn [e] nan
daoin', a chaidh maille rium, Aner, Eſ-
col, agus Mamre; gabhadh iadſan an
cuibhrionn [f].

CAIB. XV.

AN déigh nan nithe ſin thàinig fo-
cal an Tighearna gu h-Abram
ann an taiſbeanadh [g], ag ràdh, Na
biodh eagal ort, Abraim: *Is* miſe do
ſgiath, *agus* do dhuais ro-mhór.
2 Agus thubhairt Abram, A Thig-
hearna Dhé, ciod a bheir thu dhomh,
is mi 'g imeachd [h] gun chloinn, agus
gur e Elieſer ſo o Dhamaſcus fear-
riaghlaidh [i] mo thighe?
3 Agus thubhairt Abram, Feuch,
dhomhſa cha d'thug thu ſliochd [k] *air
bith*: agus feuch, *'s e* neach a rugadh
a'm' thigh a's oighre orm.
4 Agus feuch, *thàinig* focal an Ti-
ghearna d'a ionnſuidh, ag ràdh, Cha
bhi *e* ſo 'na oighre ort; ach eſan a thig
a mach a t'innibh [l] féin, bithidh ſe 'na
oighre ort.
5 Agus thug e leis a mach e, agus
thubhairt e, Amhairc a nis ſuas gu
neamh, agus àireamh na reulta, ma's
urrainn thu'n àireamh: Agus thubh-
airt e ris, Mar ſo bithidh do ſhliochd.
6 Agus chreid e anns an Tighearna;
agus mheas e ſin dha mar ionracas [m].
7 Agus thubhairt e ris, *Is* miſe an
Tighearn a thug a mach thuſa a h-Ur
nan Caldeanach, a thoirt dhuit an
fhearainn ſo, chum a ſhealbhachadh
mar oighre.
8 Agus thubhairt eſan, A Thigh-
earna Dhé, cia leis a bhios fios agam
gu'n ſealbhaich mi e?
9 Agus thubhairt e ris, Gabh dhomh-
ſa agh thri bliadhna dh'aois, agus gabh-
ar [n] thri bliadhna dh'aois, agus reithe
thri bliadhna dh'aois, agus turtuir, a-
gus columan òg.
10 Agus ghabh e dha féin iad ſin
uile, agus roinn e iad 'ſa' mheadhon,
agus chuir e gach aon do na mìribh ſa
chomhair a leth-bhreac, ach cha do
roinn e na h-eoin.
11 Agus 'nuair a thainig an eun-
laith a nuas air na cairbhibh [o], dh'-
fhuadaich Abram air falbh iad.
12 Agus 'nuair a bha ghrian a' dol
fuidh [p], thuit codal trom air Abram;
agus feuch, thuit uamhann dorchadais
mhòir air.
13 Agus thubhairt e re h-Abram,
Biodh fios gu cinnteach agad, gu'm bi
do ſhliochd 'nan coigrich ann an dùth-
aich

[a] *ſhògblumta.* [b] *ruaig ſ, chaidh 'n tòir orra.* [c] *na h-anmanna-*
abh. [d] *Ach a mhàin na dh'ith.* [e] *chuid.* [f] *an roinn féin.* [g] *foil-*
ſeachadh, ſealladh. [h] *ſiubhal.* [i] *ſtiùbhard.* [k] *ſiol, gineal.* [l] *a d'-*
*braſ***aich.* [m] *ſhìreantachd.* [n] *gabhar bhoirionn.* [o] *cloſaichibh*
dol ſodha.

aich nach leo féin ; agus ni iad ſeirbhis
doibh, agus buinidh iad gu cruaich [a]
riu ceithir cheud bliadhna.
14 Agus mar an ceudna air a' chin-
neach ſin d'an dean iad ſeirbhis, bheir
miſe breth : agus 'na dhéigh ſin thig
iad a mach le maoin mhòir.
15 Agus théid thuſa dh'ionnſuidh
t'aithreachan'an ſith; adhlaicear [b] thu
'n deagh ſhean aois.
16 Ach anns a' cheathramh linn thig
iad 'an ſo air an ais, oir cha'n *'eil* aim-
gidheachd nan Amorach *fathaſt* iom-
lan [c].
17 Agus 'nuair a bha ghrian air dol
faidh, bha dorchadas ann ; agus feuch,
àmhuinn [d] dheataich agus leus teine [e]
a chaidh eadar na mìribh ſin.
18 Air an là ſin féin rinn an Tigh-
earna coi'-cheangal re h-Abram, ag
ràdh, Do d' ſhliochdſa thug mi am
fearann ſo, o abhuinn na h-Eiphit, gu
nuig an abhuinn mhòr, abhuinn Eu-
phrates :
19 Na Cenich, agus na Cenidſich,
agus na Cadmonaich.
20 Agus na Hitich, agus na Perid-
ſich, agus na Rephaimich.
21 Agus na h-Amorich, agus na
Canaanich, agus na Girgaſaich, agus
na Iebuſaich.

C A I B. XVI.

A NIS cha d'rug Sarai bean Abraim
clann da ; agus bha ban-oglach
Eiphiteach aice, d'am *b*'ainm Hagar.
2 Agus thubhairt Sarai re h-Abram,
Feuch a nis, chum an Tighearna mi o
chlann a bhreith : rach a ſteach, guidh-
eam ort, a dh'ionnſuidh mo bhan-og-
laich; theagamh [f] gu'm faigh mi clann
leatha-ſa. Agus dh'éiſd Abram re
guth Sharai.
3 Agus ghabh Sarai bean Abraim,
Hagar a' bhan-Eiphiteach, a ban-og-
lach féin, 'an déigh do Abram còmh-
nuidh ghabhail deich bliadhn' ann an
tìr Chanaain, agus thug ſi i d'a fear
Abram, gu bhi aige mar mhnaoi.
4 Agus chaidh eſan a ſteach gu Ha-
gar, agus dh'fhàs i torrach : agus
'nuair a chunnaic i gu'n d'fhàs i tor-
rach, bha a ban-mhaighſtir tàireil 'na
ſùilibh.
5 Agus thubhairt Sarai re h-Abram,
Biodh m'ea-coir ortſa : thug mi mo
bhan-oglach do d' uchd [g] ; agus 'nuair
a chunnaic i gu'n d'fhas i torrach, bha
miſe tàireil 'na ſùilibh : Gu'n d' thu-
gadh an Tighearna breth eadar mis'
agus thuſa.
6 Ach thubhairt Abram re Sarai,
Feuch, *a ta* do bhan-oglach a' d' làimh
féin, dean ria mar is àill leat [h]. Agus
an uair a bhuin Sarai gu cruaidh ria,
theich i o gnùis.
7 Agus fhuair aingeal an Tighearn
i làimh re tobar uiſge'ſan fhàſach,
làimh ris an tobar 'ſan t-ſlighe gu Sur.
8 Agus thubhairt e, A Hagair, a
bhan-oglaich Sharai, cia as a thàinig
thu, agus c'àite tha thu dol ? Agus
thubhairt iſe, Tha mi teicheadh o
ghnùis Sharai mo bhan-mhaighſtir.
9 Agus thubhairt aingeal an Tigh-
earna ria, Pill a dh'ionnſuidh do bhan-
mhaighſtir, agus ùmhlaich thu féin f'a
làimh.
10 Agus thubhairt aingeal an Tigh-
earna ria, Meudaichidh miſe gu mòr
do ſhliochd, agus cha'n airmhear e
thaobh lionmhoireachd.
11 Agus thubhairt aingeal an Tigh-
earna ria, Feuch, *tha* thu torrach, a-
gus beiridh tu mac, agus bheir thu Iſ-
mael mar ainm air, do bhri' gu'n d'éiſd
an Tighearna re t'an-ſhocair [i].
12 Agus bithidh e 'na dhuine fiadh-
aich; *bithidh* a làmh 'an aghaidh gach
duine, agus làmh gach *duine* 'na aghaidh-
ſan : agus am fianais a bhràithrean uile
gabhaidh ſe còmhnuidh.
13 Agus ghoir i ainm an Tighearn
a labhair ria, Thuſa Dhe *a ta* 'g am
fhaicinn ; oir thubhairt i, An e gu'n
robh agams' ann an ſo mar an ceudna
ſùil ris an Ti ſin a ta 'gam fhaicinn ?
14 Uime ſin ghoir i do'n tobar,
Beer-la-hai-roi; feuch, *a ta* e eadar
Cades agus Bered.
15 Agus rug Hagar mac do Abram :
agus thug Abram Iſmael mar ainm air
a mhac, a rug Hagar.

[a] *buinidh iad gu h-olc. ſàraichidh, pianaidh.* [b] *tiodhlaicear.* [c] *fathaſt làn, air teachd fathaſt gu h-àird.* [d] *furnis.* [e] *lòchran loiſgeach* no *teinteach.* [f] *feudaidh e bhi.* [g] *aſgail.* [h] *mar is math leat, mar a chìthear dhuit.* [i] *re d' thrioblaid.*

16 Agus bha Abram ceithir fichead
agus ſè bliadna dh'aois, 'nuair a rug
Hagar Iſmael do Abram.

CAIB. XVII.

AGUS 'nuair a bha Abram ceithir
fichead agus naoi bliadhna deug
a dh'aois, dh'fhoillſich an Tighearn e
ſéin da, agus thubhairt e ris, *Is* miſe'n
Dia uile-chumhachdach; gluais thuſa
a'm' fhianais, agus bi iomlan [a].
2 Agus ni mi mo choi'-cheangal
eadar miſe agus thuſa, agus meu-
daichidh mi thu gu h-anbarrach.
3 Agus thuit Abram air eudan [b];
agus labhair an Tighearna ris, ag ràdh,
4 Do m' thaobh-ſa [c], feuch, *a ta*
mo choi'-cheangal riut-ſa, agus bith-
idh tu a' t' athair mhòrain chin-
neach [d]:
5 Agus ni'n toirear a ſo a mach
Abram mar ainm ort, ach bithidh A-
braham agad mar ainm; oir rinn mi
thu a't' athair mhòrain chinneach.
6 Agus ni mi thu ro-ſhiolmhar,
agus ni mi dhiot cinnich, agus thig
righrean a mach aſad.
7 Agus daingnichidh mi mo choi'-
cheangal eadar mis' agus thuſa, agus
do ſhliochd a'd' dhéigh, 'nan gineal-
achaibh, mar choi'-cheangal ſiorruidh,
gu bhi m' Dhia dhuitſe, agus do d'
ſhliochd a'd' dhéigh.
8 Agus bheir mi dhuitſe, agus do
d' ſhliochd a'd' dhéigh, am fearann
anns am bheil thu a'd' choigreach [e],
tìr Chanaain uile, mar ſheilbh ſhior-
ruidh; agus bithidh miſe a'm' Dhia
dhoibh.
9 Agus thubhairt Dia re h-Abra-
ham, Coimhididh tu uime ſin mo
choi'-cheangal, thu *féin*, agus do
ſhliochd a'd' dhéigh,'nan ginealachaibh.
10 So mo choi'-cheangal a choi-
mheadas [f] ſibh eadar miſe agus ſibhſe,
agus do ſhliochd a'd' dhéigh; Gu'n
timchioll-ghearrar gach leanabh mic
'nar meaſg.
11 Agus timchioll-ghearraidh ſibh
feoil bhur roimh-chroicinn [g], agus bith-
idh e 'na chomhar' a' choi'-cheangail
eadar miſe agus ſibhſe.
12 Agus am mac 'nar meaſg a
bhios ochd lathan a dh' aois, timchioll-
ghearrar e, gach leanabh mic 'nar
ginealachaibh, eſana bheirear 'ſan tigh,
no cheannchar le h airgiod o choig-
reach air bith, nach '*eil* do d'ſhliochd-
ſa.
13 Timchioll-ghearrar gu cinnteach
eſan a bheirear a'd' thigh, agus eſan
a cheannchar le t'airgiod: agus bith-
idh mo choi'cheangal 'nar feoil-ſa
mar choi'-cheangal ſiorruidh.
14 Agus an leanabh mic neo-thim-
chioll-ghearrta, aig nach timchioll-
ghearrar feoil a roimh-chroicinn, gear-
rar an t-anam ſin a mach o ſhluagh:
bhris e mo choi'cheangal.
15 Agus thubhairt Dia re h-Abra-
ham, A thaobh Sharai do mhnà, cha
toir thu Sarai mar ainm oirre [h], oir *is*
e Sarah a h-ainm.
16 Agus beannaichidh mis'i, agus
bheir mi dhuit mar an ceudna mac
uaithe [i]: ſeadh, beannaichidh mi i,
agus bithidh i 'na *màthair* chinneach;
thig [j] righrean phoibleach [k] uaithe.
17 'An ſin thuit Abraham air agh-
aidh, agus rinn e gàire; agus thu-
bhairt e 'na chridhe, Am beirear *mac*
dha-ſan a ta ceud bliadhna dh'aois?
Agus am beir Sarah, a ta deich agus
ceithir fichead bliadhna dh'aois, *mac?*
18 Agus thubhairt Abraham re
Dia, O gu maireadh Iſmael beo a't'
fhianais!
19 Agus thubhairt Dia, Gu cinn-
teach beiridh do bhean Sarah mac
dhuit; agus bheir thu Iſaac mar ainm
air: agus daingnichidh miſe mo choi'-
cheangal ris mar choi'-cheangal ſior-
ruidh, *agus* r'a ſhliochd 'na dhéigh.
20 Agus a thaobh Iſmaeil, chuala
mi thu: Feuch, bheannaich mi e, agus
ni mi ſiolmhar e, agus cuiridh mi 'n
lionmhoireachd e gu h-anbarrach. Dà
cheannard deug ginidh ſe, agus ni mi e
'na chinneach mor.
21 Ach mo choi'-cheangal daing-
nichidh mi re h-Iſaac, a bheireas Sarah
dhuit 'ſan àm ſo anns an ath bhliadhna.
22 Agus ſguir e bhi labhairt ris [l];
agus chaidh Dia ſuas o Abraham.
23 Agus ghabh Abraham Iſmael a
mhac, agus iadſan uile a rugadh 'na
thigh, agus iadſan uile a cheannchadh
le

C

[a] *foirfe, diorgmbalta.* [b] *aodainn; aghaidh.* [c] *air mo ſhon-ſa.* [d] *ſhi-neacha.* [e] *fearann do chuairt.* [f] *ghleidheas.* [g] *roi'-chroicinn.* [h] *orra; uirre Eir.* [i] *uaipe.* [j] *bithidh.* [k] *ſlogh.* [l] *Chi cainnt ris, còmhradh ris.*

le airgiod ſan, gach ſirionnach a meaſg dhaoine tighe Abrahaim; agus thimchioll-ghearr e feoil an roimh-chroicinn anns a' cheart là ſin féin, mar a thubhairt Dia ris.

24 Agus *bha* Abraham ceithir fichead agus naoi bliadhna deug a dh' aois, 'nuair a thimchioll-ghearradh dha feoil a roimh-chroicinn.

25 Agus *bha* Iſmael a mhac tri bliadhna deug a dh'aois, 'nuair a thimchioll-ghearradh dha feoil a roimh-chroicinn.

26 Anns a' cheart là ſin féin thimchioll ghearradh Abraham, agus Iſmael a mhac.

27 Agus thimchioll-ghearradh maille ris uile dhaoin' a thighe, a rugadh '*na* thigh, agus indſan a cheannchadh le h-airgiod o mhac coigrich [a].

C A I B. XVIII.

AGUS dh'fhoillſich an Tighearn e féin da ann an comhnard Mhamre [b], agus e 'na ſhuidhe 'an dorus a' bhùtha ann an teas an là.

2 Agus thog e ſuas a ſhùilean, agus dh'amhairc e, agus feuch, *bha* triuir dhaoin' a' ſeaſamh làimh ris; agus 'nuair a chunnaic e *iad*, ruidh e 'nan coinneamh o dhorus a' bhùtha, agus chrom ſe e féin gu làr.

3 Agus thubhairt e, Mo thighearna, ma fhuair mi nis deagh-ghean a'd' ſhùilibh [c], guidheam ort, na rach ſeachad air do ſheirbhiſeach.

4 Thugar, 'an ſo, guidheam oirbh, beagan uiſge, agus ionnailibh [d] bhur caſan [e], agus leigibh bhur n-anail fuidh 'n chraoibh.

5 Agus bheir miſe 'n ſo greim arain, agus neartaichibh bhur cridhe; 'an déigh ſin imichidh ſibh romhaibh, oir is ann uime ſin a thàinig ſibh a dh'ionnſuidh bhur ſeirbhiſich. Agus thubhairt iadſan, Dean eadhon mar a thubhairt thu.

6 Agus ghreas Abraham [f] do'n bhùth a dh'ionnſuidh Sharaih, agus thubhairt e, Dean cabhag [g], taoiſinn [h] tri mioſairean do mhìn phlùr, agus dean arain [i] air leachd an teinteinn [j].

7 Agus ruidh Abraham a dh'ionnſuidh a' chruidh [k], agus ghabh e laogh maoth agus math, agus thug e dh'òganach *e*, agus rinn e deifir [l] g'a dheaſachadh.

8 Agus ghabh e im agus bainne, agus an laogh a dheaſaich e, agus chuir e air am beulaobh *iad*; agus ſheas e làimh riu fuidh 'n chraoibh, agus dh'ith iad.

9 Agus thubhairt iad ris, C'ait' *am bheil* Sarah do bhean? Agus thubhairt eſan, Feuch, anns a' bhùth.

10 Agus thubhairt e, Gu cinnteach pillidh mi t'ionnſuidh a réir àm [m] na beatha; agus feuch, *bithidh* mac aig Sarah do bhean. Agus chuala Sarah ſin ann an dorus a' bhùtha, a *bha* air a chùl.

11 A nis *bha* Abraham agus Sarah ſean, *agus* air dol air an aghaidh gu math ann an aois: *agus* ſguir Sarah a bhi réir dòigh nam ban.

12 Uime ſinn rinn Sàrah gàire innte féin, ag ràdh, 'An déigh dhomhſa fàs aoſda, am bi ſubhachas [n] agam, agus gu bheil mo thighearna aoſda mar an ceudna?

13 Agus thubhairt an Tighearna re h-Abraham, C'ar ſon a rinn Sarah gàire, ag ràdh, 'N e gu'm beir miſe gu cinnteach *leanabh*, agus mi aoſmhar?

14 Am bheil ni air bith do-dheanta [o] do 'n Tighearna? 'San am *ſhuidhichte* pillidh mi a't' ionnſuidh, a réir àm na beatha, agus *bithidh* mac aig Sarah.

15 'An ſin dh'aicheun [p] Sarah, ag radh, Cha d' rinn mi gàire: oir bha eagal oirre. Agus thubhairt eſan, Ni h-eadh, oir rinn thu gàire.

16 Agus dh'éirich na daoin' as ſin, agus dh'amhairc iad rathad Shodoim [q]: agus chaidh Abraham maille riu g'an cur air an t-ſlighe [r].

17 Agus thubhairt an Tighearna, An ceil mi air Abraham an ni ſin a ta mi gu'a dheanamh;

18 Agus gu'm fàs Abraham gu cinnteach 'na chinneach mòr agus cumhachdach, agus gu'm beannaichear annſan uile chinnich na talmhainn?

19

a *o choigreach.* b *aig daragaibh Mhamre.* c *a't' fhianais.* d *nighibh.* e *coſa.* f *rinn Abraham cabhag.* g *deifrich.* h *fuin.* i *breacagan.* j *leachd an teallaich.* k *do'n bhuar.* l *cabhag.* m *aimſir.* n *toil-inntinn.* o *cruaidh.* p *dh'àicheadh; dh'ob; ſheun.* Eir. q *gu Sodom.* r *a thoirt coimhideachd dhoibh.*

19 Oir is aithne dhomh e, gu'n d'thoir e [a] àithne d'a chloinn, agus d'a theaghlach 'na dhéigh, agus gleidhidh iadſan ſlighe an Tighearna, a' deanamh [b] ceartais agus breitheanais; chum as gu'n d'thoir an Tighearn air Abraham an ni ſin a labhair e m'a thimcbioll.

20 Agus thubhairt an Tighearna, Do bhri' gu bheil glaodh Shódoim agus Ghomorraih mòr, agus do bhri, gu bheil am peacadh air an-tromachadh gu h-anbarrach [c];

21 Théid mi ſìos a nis, agus chi mi ma rinn iad gu léir [d] a réir a' ghlaoidh, a thàinig a'm' ionnſuidh; agus mar do rinn, bithidh fios agam.

22 Agus thionndaidh na daoin' an aghaidh as ſin, agus ghabh iad an t-ſlighe gu Sodom: ach ſheas Abraham fathaſt 'an làthair an Tighearna.

23 Agus thàinig Abraham am fagus [e], agus thubhairt e, An ſgrios thuſa mar an ceudna an t-ionracan [f] maille ris an aingidh [g]?

24 Ma's e's gu bheil leth-cheud ionracan 'an taobh a ſtigh do'n bhaile, an ſgrios thu mar an ceudna, agus nach caomhain thu'n t-àit' air ſon an leth-cheud ionracan a *ta* ann.

25 Gu ma fada robh e uats' a dheanamh air an dòigh ſo, an t-ionracan a mharbhadh maille ris an aingidh, iònnas gu'm bi 'n t-ionracan mar an t-aingidh: Gu ma fada robh ſin uatſa. Nach dean Breitheamh na talmhainn uile ceartas?

26 Agus thubhairt an Tighearna, Ma gheibh mi ann an Sodom leth-cheud ionracan 'an taobh a ſtigh do'n bhaile, 'an ſin caomhnaidh mi 'n t-àit' uile air an ſgàth-ſan [h].

27 Agus fhreagair Abraham, agus thubhairt e, Feuch a nis, ghabh mi orm féin labhairt re m' Tighearna [i], agus gun annam ach duſlach agus luaithre [j].

28 Ma's e's gu'm bi cuigear [k] a dh'uireaſbhuidh air an leth-cheud ionracan, an ſgrios thu'm baile uile air ſon *eaſbhuidh* [l] chùigir? Agus thubhairt e, Cha ſgrios mi *e*, ma gheibh mi'n ſin cùig [m] agus dà fhichead.

29 Agus labhair e ris a rìs, agus thubhairt e, Ma's e's gu'm faighear [n] 'an ſin dà fhichead? Agus thubhairt e, Cha dean mi *e* air ſgàth dhà fhichead.

30 Agus thubhairt e *ris*, Oh! na biodh fearg air mo Thighearna, agus labhraidh mi: Ma's e's gu'm faighear ann an ſin deich 'ar fhichead? Agus thubhairt e, Cha dean mi *e*, ma gheibh mi 'n ſin deich 'ar fhichead.

31 Agus thubhairt e, Feuch a nis, ghabh mi orm féin labhairt re m' Thighearna: Ma's e's gu'm faighear fichead 'an ſin? Agus thubhairt e, Cha ſgrios mi *e* air ſon fhichead.

32 Agus thubhairt e, Oh! na biodh fearg air mo Thighearna, agus labhraidh mi mhàin an aon uair ſo: Ma's e's gu'm faighear deichnear 'an ſin? Agus thubhairt e, Cha ſgrios mi *e* air ſgàth dheichnear.

33 Agus dh'imich an Tighearna roimhe, 'nuair a ſguir e do labhairt re h-Abraham: agus phill Abraham g'a àite féin.

CAIB. XIX.

AGUS thàinig dà aingeal do Sodom 'ſan fheaſgar, agus bha Lot 'na ſhuidhe ann an geata Shodoim: agus 'nuair a chunnaic Lot *iad*, dh'éirich e ſuas nan coinneamh, agus chrom ſe e féin air aghaidh gu làr [o].

2 Agus thubhairt e, Feuch a nis, mo thighearnan, tionndadhaibh a ſteach [p], guidheam oirbh, do thigh bhur ſeirbhiſich, agus fanaibh rè na h-oidhche, agus ionnailibh bhur caſan, agus éiridh ſibh gu moch, agus théid ſibh air bhur turus [q]. Agus thubhairt iad, Ni h-eadh, ach fanaidh ſinn air an t-ſraid ré na h-oidhche.

3 Agus choi'-éignich e iad, agus thionndaidh iad d'a ionnſuidh, agus chaidh iad a ſteach d'a thigh: agus rinn e cuirm [r] dhoibh, agus dheaſaich e aran neo-ghoirtichte [s] agus dh' ith iad.

[a] *gu'n toir.* [b] *a dheanamh.* [c] *gu mòr.* [d] *d'a rìreadh.* [e] *am fogus.* [f] *am fìrean.* [g] *maille ris a'chiontach.* [h] *air an ſon-ſan.* [i] *ris an Tighearna.* [j] *luàth.* [k] *cuignear, còignear.* [l] *dìth.* [m] *cóig.* [n] *fuighear.* [o] *le aghaidh ris an làr.* [p] *teannaibh a ſteach.* [q] *ſlighe,* Eabh. [r] *cuilm, féiſd.* [s] *neo-gheuraichte, gun bheirm, gun laibhin.*

4 Ach mu'n deachaidh iad a luidhe,
thuairtich [a] daoine a' bhaile an tigh,
eadhon daoine Shodoim, araon ſean a-
gus òg, an ſluagh uile o gach cearna.
5 Agus ghairm iad air Lot, agus
thubhairt iad ris, C'àit' *am bheil* na
daoin' a thàinig a't' ionnſuidh an
nochd? Thoir a mach iad d'ar n-ionn-
ſuidh, chum as gu'n aithnich ſinn iad.
6 Agus chaidh Lot a mach d'an
ionnſuidh air an dorus, agus dhruid
e 'n dorus 'na dhèigh,
7 Agus thubhairt e, Na deanaibh,
guidheam oirbh, mo bhràithre, gniomh
cho olc.
8 Feuch a nis, tha agam dithis ni-
gheana do nach b'aithne fear; leigibh
leam guidheam oirbh, an toirt a mach
d'ar n-ionnſuidh, agus deanaibh riu
mar is àill leibh [b]. amhàin air na
daoinibh ſo na deanaibh a' bheag, oir
is ann a chum na crìche ſo a thàinig
iad fuidh ſgàile mo thighe-ſe.
9 Agus thubhairt iadſan, Seas air
t'ais. Agus thubhairt iad *a ris*, Thài-
nig am fear *ſo* 'na aonar air chuairt,
agus is àill leis a bhi 'na bhreitheamh:
A nis buinidh ſinne riutſa ni's miosa
na riu-ſan. Agus rinn iad éigin [c]
mhòir air an duine, *eadhon* air Lot, a-
gus thàinig iad am fagus a bhriſeadh
an doruis.
10 Ach chuir na daoin' a mach an
làmh, agus thug iad Lot a ſteach d'an
ionnſuidh do'n tigh, agus dhùin [d] iad
an dorus.
11 Agus bhuail iad na daoin', a *bha*
aig dorus an tighe, le doille, eadar
bheag agus mhòr [e]: ionnas [f] gu'n do
ſgìthich iad iad féin ag iarraidh an do-
ruis.
12 Agus thubhairt na daoine re Lot,
Co tuilleadh *a th'*agad 'an ſo? *Do*
chliamhuin, agus do mhic, agus do
nigheana, agus ge b'e ni a *ta* agad 'ſa'
bhaile, thoir a mach *iad* as an àite
ſo:
13 Oir tha ſinne gus an t-àite ſo a
ſgrios, do bhrì' gu bheil an glaodh air
fàs mòr 'an làthair an Tighearna; a-
gus chuir an Tighearna ſinne g'a
ſgrios [g].
14 Agus chaidh Lot a mach, agus
labhair e r'a chleamhnaibh, a phòs a
nigheanan [h], agus thubhairt e, Eiribh,
rachaibh a mach as an àite ſo, oir
tha'n Tighearna gus am baile ſo a
ſgrios: Ach bha e mar neach a bha re
ſanoid ann an ſùilibh a chleamhna.
15 Agus 'nuair a dh'éirich a' mha-
dainn, ann an ſin, ghreas na h-aingil
Lot, ag ràdh, Eirich, gabh do bhean,
agus do dhithis nighean a ta'n ſo, an
t-eagal gu'n ſgriosar thu ann an ain-
gidheachd a bhaile.
16 Agus, 'nuair a bha e deanamh
moille, 'an ſin rug na daoin' air làimh
air, agus air làimh air a mhnaoi, agus
air làimh air a dhithis nighean; air
do'n Tighearna bhi tròcaireach dha:
agus thug iad a mach e, agus chuir
iad e'n taobh a muigh do'n bhaile.
17 Agus 'nuair a thug iad a mach
iad, thubhairt e, Teich air ſon t'anma;
na ſeall a'd' dhéigh, agus na ſtad 'ſa'
chòmhnard uile [i]: teich do'n t-ſliabh,
an t-eagal gu millear thu.
18 Agus thubhairt Lot riu, Oh!
ni h-ann mar ſin, mo thighearna.
19 Feuch a nis, fhuair do ſheir-
bhiſeach deagh-ghean a'd' ſhùilibh, a-
gus mheudaich thu do throcair, a
nochd thu dhomsa le m'anam a thea-
ſairginn: agus cha'n urrainn miſe dol
as do'n t-ſliabh, an t-eagal gu'n d'thig [j]
olc éigin orm, agus gu'm faigh mi bàs.
20 Feuch a nis, *tha* 'm baile ud am
fagus gu teicheadh d'a ionnſuidh, agus
e beag; leigear dhomh a nis teicheadh
'an ſud, (nach beag e?) agus bithidh
m'anam beo.
21 Agus thubhairt e ris, Feuch,
ghabh mi re t'athchuinge 'ſan ni ſo
mar an ceudna, nach ſgrios mi'n baile
ſo, mu'n do labhair thu.
22 Greas ort, teich 'an ſud, oir cha
'n urrainn mi ni air bith a dheanamh
gus an d'théid thu'n ſud: uime ſin
thugadh Soar mar ainm air a' bhaile.
23 Bha ghrian air éirigh air an ta-
lamh, 'nuair a chaidh Lot a ſteach do
Shoar.
24 'An ſin thug an Tighearn air
pronnaſc agus teine fraſadh air So-
dom agus air Gomorrah a nuas o'n
Tighearna as na néamhan.

25

[a] *dh'iadh.* — [b] *mar is math leibh.* [c] *ſpairn.* [d] *dhruid.* [e] *o'n bheag gu a' mhòr.* Eabh. [f] *air chor agus.* [g] *g'an ſgrios.* [h] *a ghabh a nigheana.* [i] *na fan 'ſa' chòmhnard idir.* [j] *gu'm beir.*

25 Agus sgrios e na bailte sin, agus an còmhnard uile, agus uile luchd-àiteachaidh nam bailtean, agus na dh'fhàs air an talamh.

26 Ach sheall a bhean 'na déigh o chùlaobh, agus dh'fhàs i 'na carradh [a] salainn.

27 Agus chaidh Abraham suas moch 'sa' mhadainn do'n àite anns an do sheas e 'n làthair an Tighearna.

28 Agus sheall e air Sodom agus Gomorrah, agus air fearann a'chòmhnaird uile [b], agus chunnaic e, agus feuch, chaidh deatach na tìre suas mar dheatach àmhainn [c].

29 Agus 'nuair a sgrios Dia bailtean a' chòmhnaird, 'an sin chuimhnich Dia air Abraham, agus chuir e mach Lot a meadhon an léir-sgrios, 'nuair a sgrios e na bailtean anns an robh Lot 'na chòmhnuidh.

30 Agus chaidh Lot suas a Soar, agus ghabh e comhnuidh 'san t-sliabh, agus a dhithis nighean maille ris; oir bha eagal air còmhnuidh ghabhail ann an Soar: agus ghabh e còmhnuidh ann an uaimh; e féin agus a dhithis nighean.

31 Agus thubhairt an té bu shine ris an té a b' òige, *Tha* ar n-athair sean, agus cha '*n* '*eil* fear air an talamh gu teachd a steach d' ar n-ionnsuidh a réir gnàthad[d] na talmhainn uile.

32 Thig, thugamaid air ar n-athair fion òl, agus luidheamaid maille ris, chum as gu'n gléidh sinn sliochd [e] o ar n-athair.

33 Agus thug iad air an athair fion òl air an oidhche sin: agus chaidh an té bu shine steach, agus luidh[f] i maille r'a h-athair; agus cha do mhothaich e 'nuair a luidh i sìos, no 'nuair a dh'éirich i.

34 Agus air an *la*-maireach [g] thubhairt an té bu shine ris an té a b'òige, Feuch, luidh mise 'n reidhr [h] maille re m' athair; thugamaid air fion ol an nochd mar an ceudna, agus rachsa steach, *agus* luidh maille ris, chum as gu'n gléidh sinn sliochd o ar n-athair,

35 Agus thug iad air an athair fion òl air an oidhche sin mar an ceudna: agus dh'èirich an té b'òige, agus luidh i maille ris, agus cha do mhothaich e 'nuair a luidh i sìos, no 'nuair a dh'-éirich i.

36 Mar so bha dithis nighean Lot torrach aig an athair.

37 Agus rug an té bu shine mac, agus thug i Moab mar ainm air: 's esan athair nam Moabach gus an là'n diugh.

38 Agus an té b'òige, rug ise mar an ceudna mac, agus thug i Ben-ammì mar ainm air: 's esan athair chloinn Ammoin gus an là'n diugh.

CAIB. XX

AGUS dh'imich Abraham as sin do'n tìr mu dheas, agus ghabh e còmhnuidh eadar Cades agus Sur; agus bha e air chuairt ann an Gerar.

2 Agus thubhairt Abraham mu Sharah a bhean, '*Si* mo phiuthar i: Agus chuir Abimelech righ Gherair *teachdaire uaithe*, agus ghabh e Sarah.

3 Agus thàinig Dia gu Abimelech ann an aisling [i] 'san oidhche, agus thubhairt e ris, Feuch, *is duine* marbh thu air sòn na mnà a ghabh thu; oir *is* bean duin' *eil*' i.

4 Ach cha d'thàinig Abimelech am fagus d'i [j], agus thubhairt e, A thighearna, am marbh thu mar an ceudna cinneach ionruic?

5 Nach d' thubhairt esan riumsa, '*Si* mo phiuthar i? agus thubhairt ise, eadhon ise féin, '*Se* mo bhràthair e: ann an treibhdhireas mo chridhe, agus ann an neo-chionta mo làmh rinn mi so.

6 Agus thubhairt Dia ris ann an aisling, Seadh, tha fios agam gur ann an treibhdhireas do chridhe a rinn thu so, agus chum mise mar an ceudna thu o pheacachadh a'm' aghaidh: uime sin cha do leig mi leat beantainn ria.

7 A nis ma'ta thoir air a h-ais [k] do'n duine a bhean, oir *is* fàidh e, agus ni e ùrnuigh air do shon, agus bithidh tu beo: ach mur d'thoir thu air a h' ais i, biodh fios agad gu'm faigh thu bàs gu cinnteach, thu féin agus gach uile a'*s* leat.

8 Uime sin dh'éirich Abimelech moch

[a] *pillar*. sasg. [b] *air aghaidh Shodoim agus Ghomorraib, agus air aghaidh fearainn a' chònaird uile.* [c] *fuirnis.* [d] *cleachda, cor, modh.* [e] *sìol.* [f] *laidh.* [g] *air a' mhàireach.* [h] *an reir, an rogoir.* [i] *bruadar.* [j] *'na còir.* [k] *aisig.*

noch 'sa' mhadainn, agus ghairm e
a sheirbhisich uile, agus dh'aithris [a] e
na nithe sin uile 'nan èisdeachd; agus
bha eagal mòr air na daoine [b].
9 'An sin ghairm Abimelech air A-
braham, agus thubhairt e ris, Ciod *so*
a rinn thu oirn? agus ciod an eucoir [c]
a rinn mis' ort, gu'n d'thug thu orm-
sa, agus air mo rìoghachd peacadh
mòr? rinn thu gnìomharan ormsa,
nach bu chòir a dheanamh.
10 Agus thubhairt Abimelech re
h-Abraham Ciod a chunnaic thu, gu'n
d'rinn thu an ni so?
11 Agus thubhairt Abraham, A
chionn gu'n d'thubhairt mi [d] *annam
fèin*, Gu cinnteach cha 'n'eil eagal an
Tighearna 'san ionad so; agus mar-
bhaidh iad mi air son mo mhnà.
12 Agus gidheadh *'s i* gu deimhin
mo phiuthar i, nighean m'athar i, ach
cha'n i nighean mo mhàthar: agus
bha i agam mar mhnaoi.
13 Agus 'nuair a thug Dia orm
dol air m'aineol [e] o thigh m'athar, 'an
sin thubhairt mi ria [f], *'Sé* so do
chaoimhneas a nochdas tu dhomhsa;
Anns gach àite d'an d'thig [g] sinn,
abair mu m' thimchioll, *'Se* mo
bhràthair e.
14 Agus ghabh Abimelech cao-
raich, agus buar [h], agus òglaich, agus
ban-oglaich [i], agus thug e *iad* a dh'-
Abraham, agus thug e air a h-ais dha
Sarah a bhean.
15 Agus thubhairt Abimelech,
Feuch, tha m'fhearann fa d' chò-
mhair: gabh còmhnuidh far an tait-
neach leat.
16 Agus re Sarah thubhairt e,
Feuch, thug mi mile *bonn* airgid do d'
bhràthair: feuch, *tha* e dhuitse [j] 'na
chòmhdachadh sùl do gach uile a *ta*
maille riut, agus maille ris gach uile:
mar so fhuair i achmhasan [k].
17 Agus rinn Abraham ùrnuigh re
Dia; agus leighis Dia Abimelech, agus
a bhean, agus a bhan-oglaich, agus
rug iad *clann*.
18 Oir dhruid [l] an Tighearna suas
gach bolg ann an teaghlach Abime-
leich, air son Sharaih mnà Abrahaim.

C A I B XXI.

AGUS dh'amhairc an Tighearn
air Sarah [m] mar a thubhairt e;
agus rinn an Tighearna do Sharah
mar a labhair e.
2 Oir dh'fhàs Sarah torrach, agus
rug i mac do Abraham 'na shean aois
'san àm shuidhichte mu'n do labhair
Dia ris.
3 Agus thug Abraham Isaac mar
ainm air a mhac a rugadh dha, a rug
Sarah dha.
4 Agus thimchioll-ghearr Abra-
ham Isaac a mhac, 'nuair a bha e
ochd lathan a dh'aois, mar a dh'àithn
Dia dha.
5 Agus bha Abraham ceud bliadh-
na dh'aois, 'nuair a rugadh a mhac
Isaac dha.
6 Agus thubhairt Sarah, Thug
Dia orm gàire dheanamh: *agus* gach
neach a chluinneas, ni e gàire maille
rium.
7 Agus thubhairt i, Co a theireadh
re h-Abraham, gu'n d'thugadh Sa-
rah cìoch do chloinn, oir rug mi mac
dha 'na shean-aois?
8 Agus dh'fhàs an leanabh, agus
chuireadh bhàrr na cìch e [n]. Agus
rinn Abraham cuirm mhòr 'san là an
do chuireadh Isaac bhàrr na cìche.
9 Agus chunnaic Sarah mac Ha-
gair na bàn-Eiphitich, a rug i dh'A-
braham, re fanoid.
10 Uime sin thubhairt i re h-Abra-
ham, Tilg a mach a'bhan-tràill [o] so,
agus a mac; oir cha bhi mac na ban-
tràille so 'na oighre maille re m'
mhac-sa, *eadhon* re h-Isaac.
11 Agus bha'n ni ro-dhoilgheasach
ann an sùilibh Abrahaim, air son a mhic.
12 Agus thubhairt Dia re h-Abra-
ham, Na biodh e doilgheasach a'd'
shùilibh air son an òganaich, agus air
son do bhan-tràille: a thaobh gach ni
a thubhairt Sarah riut, èisd r'a guth:
oir is ann an Isaac a dh'ainmichear [p]
dhuitse sliochd.

[a] *dh'innis.* [b] *dh'oilltich na daoine.* [c] *a' choire, an cron.* [d] *gu'n do smuainich, gu'n do shaoil mi.* [e] *air choigrich.* [f] *rithe.* [g] *d'an tig.* [h] *crodh, daimh.* [i] *seirbhisich agus ban-seirbhisich.* [j] bithidh *so dhuitse.* [k] *chronaicheadh i.* [l] *dhruid gu daingeann.* [m] *dh'fhiosraich, chuimhnich an Tighearn air Sarah.* [n] *chuireadh air dìol e.* [o] *a' bhann-tràill, bhean dhaor.* [p] *ghoirear.*

13 Agus mar an ceudna do mhac na ban-tràille ni mise cinneach, do bhrigh gur e do shliochds' e.

14 Agus dh'éirich Abraham suas gu moch 'sa' mhadainn, agus ghabh e aran, agus searrag [a] uisge, agus thug e *sin* do Hagar, agus chuir e air a gualainn e, agus an leanabh; agus chuir e air falbh i: agus dh'imich i, agus chaidh i air seacharan 'am fàsach Bheer-seba.

15 Agus chaitheadh [b] an t-uisge o'n t-searraig; agus thilg i'n leanabh fuidh h-aon do na preasaibh [c].

16 Agus dh'fhalbh i, agus shuidh i sios i'*a* chomhair, tamull math uaith, mu thimchioll urchuir saighde: oir thubhairt i, Na faiceam bàs an leinibh. Agus shuidh i f'*a* chomhair, agus thog i suas a guth, agus ghuil i.

17 Agus chuala Dia guth an òganaich: agus ghairm aingeal Dé air Hagar o nèamh, agus thubhairt e ria, Ciod *a tha teachd* riut, a Hagair? Na biodh eagal ort; oir chuala Dia guth an òganaich far *am bheil* e.

18 Eirich, tog suas an t-òganach, agus gabh greim [d] a'd' làimh dheth, oir ni mise 'na chinneach mòr e.

19 Agus dh'fhosgail Dia a sùilean, agus chunnaic i tobar uisge: agus chaidh i, agus lìon i 'n t-searrag le h-uisge, agus thug i deoch do'n òganach.

20 Agus bha Dia leis an òganach, agus dh'fhàs e suas: agus gabh e còmhnuidh 'san fhàsach, agus bha e 'na fhear-bogha.

21 Agus ghabh e còmhnuidh 'am fàsach Pharain: agus ghabh a mhàthair bean da a talamh na h-Eiphit.

22 Agus 'san àm sin féin labhair Abimelech, agus Phichòl ard cheannard a shluaigh, re h-Abraham, ag ràdh, *Tha* Dia leat 'sgach ni a *ta* thu deanamh.

23 A nis uime sin mionnaich dhomhsa air Dia, nach buin thu gu fealltach riumsa [e], no re 'm mhac, no re mac mo mhic; *ach* a réir a' chaoimhneis a rinn mi riut, ni thusa riumsa, agus ris an tìr anns an robh thu air chuairt.

24 Agus thubhairt Abraham, Bheir mi mo mhionnan.

25 Agus thug Abraham achmhasan do Abimelech air son tobair uisge, a thug seirbhisich Abimeleich a mach le h-ain-neart [f].

26 Agus thubhairt Abimelech, Cha b'fhiosrach mise co rinn an gniomh so: cha d'innis thu féin domh, agus cha mhò a chuala mi bheag *m'a thimchioll* ach an diugh [g].

27 Agus ghabh Abraham caoraich agus crodh, agus thug e iad do Abimelech: agus rinn iad le chéile coi'-cheangal.

28 Agus chuir Abraham seachd uain bhainionn de'n treud air leth leo féin.

29 Agus thubhairt Abimelech re h-Abraham, Ciod iad na seachd uain bhainionn sin, a chuir thu air leth leo féin?

30 Agus thubhairt e, Oir gabhaidh tu na seachd uain bhainionn *sin* o m' làimh; chum gu'm bi iad 'nam fianais domhsa gu'n do chladhaich mi 'n tobar so.

31 Uime sin thug e Beer-seba mar ainm air an àite sin, do bhrigh ann an sin gu'n d'thug iad am mionnan le chéile.

32 Mar so rinn iad coi'-cheangal aig Beer-seba: 'an sin dh'éirich Abimelech suas, agus Phichol, ard cheannard a shluaigh, agus phill iad do thìr nam Philistineach.

33 Agus shuidhich *Abraham doire* [h] chraobh aig Beer-seba, agus ghairm e 'n sin air ainm an Tighearna, an Dé shiorruidh.

34 Agus bha Abraham air chuairt ann an tìr nam Philistineach mòran do laithibh.

CAIB. XXII.

AGUS 'an déigh nan nithe sin dhearbh i Dia Abraham, agus thubhairt e ris, Abraham. Agus thubhairt e, Feuch, *tha* mi '*n so*.

2 Agus thubhairt e ían, Gabh a nis do mhac, t'aon *mhac* Isaac, a's ionmhuinn leat, agus rach do thìr Mhoriaih [i], agus thoir suas 'an sin e mar thabhartas-loisgt' [k] air aon do na beanntaibh e dh'innseas mise dhuit.

3 Agus dh'éirich Abraham gu moch

[a] *soirre, buideal.* [b] *theirig.* [c] *craobhaibh.* [d] *glac.* [e] *nach dean thu feall ormsa.* [f] *le foirneart, leis an làimh làdair.* [g] *gus an diugh.* [h] *bagan coille.* [i] *dh'fheuch.* [j] *thoir ort tìr Mhoriah.* [k] *ofrail loisgte.*

moch 'ſa' mhadainn, agus dh'uighim-
ich e aſal [a], agus ghabh e dithis d'a
òganaich maille ris, agus a mhac
Iſaac; agus ſgoilt e fiodh air ſon an
tabhartais-loiſgte, agus dh'éirich e ſuas,
agus chaidh e do 'n àit' a dh'innis
Dia dha.

4 A nis air an treas là thog Abra-
ham ſuas a ſhùilean, agus chunnaic e
'n t-àite fada uaithe.

5 Agus thubhairt Abraham r'a ò-
ganaich, Fanaibhs' ann an ſo maille
ris an aſal, agus théid mis' agus an
gille [c] gu nuige [d] ſud, agus ni ſinn
aoradh [e], agus thig ſinn a rìs [f] d'ar
n-ionnſuidh.

6 Agus ghabh Abraham fiodh [g] an
tabhartais-loiſgte, agus chuir ſe *e* air
muin a mhic Iſaac; agus ghabh e 'na
làimh an teine, agus an ſgian: agus
dh'imich iad cuideachd le chéile.

7 Agus labhair Iſaac r'a athair A-
braham, agus thubhairt e, Athair: a-
gus thubhairt eſan, Feuch, *tha* mi '*n*
so, a mhic. Agus thubhairt e, Feuch
an teine 's am fiodh; ach c'àit' *am*
bheil an t-uan air ſon tabhartais-loiſgte?

8 Agus thubhairt Abraham, Gheibh
Dia, a mhic, uan dha féin [h] air ſon
tabhartais-loiſgte: Mar ſin dh'imich
iad cuideachd le chéile.

9 Agus thàinig iad do'n àit' a dh'-
innis Dia dha, agus thog Abraham al-
tair 'an ſin, agus chuir [k] e 'm fiodh 'an
òrdugh; agus cheangail e mhac Iſaac,
agus chuir e air an altair e air uach-
dar an fhiodha.

10 Agus ſhìn Abraham a mach a
làmh, agus ghabh e 'n ſgian a mhar-
bhadh a mhic.

11 Agus ghlaodh [l] aingeal an Ti-
ghearna ris o neamh, agus thubhairt
e, Abrahaim, Abrahaim. Agus thu-
bhairt eſan, Feuch, *tha* mi '*n so*.

12 Agus thubhairt e, Na leag do
làmh air a' ghille, agus na dean ni
ſam bith air: oir a nis tha mi fioſrach
gu bheil eagal Dé ort, do bhrì, nach
do chum thu do mhac, *eadhon* t'aon
mhac uamſa.

13 Agus thog Abraham ſuas a
ſhùilean, agus dh'amhairc e, agus
feuch, reithe air a chùlaobh [m] 'an ſàs
ann am preas [n] air adhaircean: agus
chaidh Abraham, agus ghabh e 'n
reithe, agus thug e ſuas e mar thabhar-
tas-loiſgte 'n àit' a mhic.

14 Agus thug Abraham Iehobhah-
Iireth mar ainm air an àite ſin: mar
a theirear *gus* an là'n diugh, Ann an
ſliabh an Tighearna chithear e.[o]

15 Agus ghlaodh aingeal an Ti-
ghearna re h-Abraham an dara uair
o nèamh.

16 Agus thubhairt e, Orm féin
mhionnaich mi, ars' an Tighearn, a
chionn gu'n d'rinn thu an ni ſo, agus
nach do chum thu *uam* do mhac, *eadh-*
on t'aon *mhac*;

17 Gu'n beannaich mi thu gu
mòr [p], agus gu'n dean mi do ſhliochd
ro-lìonmhor *eadhon* mar reulta nèimh,
agus mar an gaineamh [q], a *ta* air
tràigh na fairge: agus ſealbhaichidh
do ſhliochd geàtadh an naimhde;

18 Agus beannaichear ann ad
ſhliochd-ſa uile chinnich na talmhainn,
a chionn gu'n d' éiſd thu re m' ghuth.

19 Mar ſin phill Abraham dh'ionn-
ſuidh òganacha; agus dh'éirich iad
ſuas, agus chaidh iad cuideachd gu
Beer-ſeba: agus ghabh Abraham
còmhnuidh aig Beer-ſeba.

20 Agus 'an déigh nan nithe ſin
dh'innſeadh do Abraham, ag ràdh,
Feuch, rug Milcah mar an ceudna
mic [r] do d' bhràthair Nahòr;

21 Hus a cheud-ghin, agus Buz
a' bhràthair, agus Cemuel athair A-
raim,

22 Agus Cheſed, agus Haſſo, a-
gus Pildas, agus Idlaph, agus Betuel.

23 Agus ghin Betuel Rebecah: an
ochdnar ſin rug Milcah do Nahor,
bràthair Abrahaim.

24 Agus a leannan [s], d'am *b*'ainm
Reumah, rug iſe mar an ceudna Te-
bah, agus Gaham: agus Tahas, agus
Maachah.

C A I B. XXIII.

AGUS bha Sarah beo ceud agus
ſeachd bliadhna fichead [t]; *b'iad*

[a] *chuir e dìollaid air aſal.* [b] *a dhà òganach.* [c] *an leanabh-gille.* [d] *gu ruig.* [e] *àdhradh.* [f] *pillidh ſinn.* [g] *connadh.* [h] *Chi Dia, a mhic, air ſon uain dha féin.* Eabh. [k] *leag.* [l] *ghairm.* [m] *a chùl-thaobh.* [n] *'an caoir-dhris.* [o] *San t-ſliabh chi an Tighearna.* [p] *Le beannachadh gu'm beannaich mi thu*, Eabh. [q] *a' ghaineamh, a' ghainmheach.* [r] *clann.* [s] *a choi'-leabach.* [t] *bha Sarah ceud agus ſeachd bliadhna fichead a dh'aois.*

ſo bliadhnacha beatha Sharaih.
2 Agus fhuair Sarah bàs ann an
Ciriat-arba; *'ſe* ſin Hebron ann an tìr
Chanaain: Agus thàinig Abraham a
dheanamh tuiridh [a] air ſon Sharaih,
agus a chaoidh [b] air a ſon.
3 Agus dh'éirich Abraham ſuas ò
lathair a mhairbh, agus labhair e re
mic Het, ag ràdh,
4 *Is* coigreach agus fear-cuairt miſe
maille ribh: thugaibh dhomh ſealbh
àit'-adhlaic [c] maille ribh, agus gu'n
adhlaic mi mo mharbh as mo ſhealladh[d].
5 Agus fhreagair mic Het Abra-
ham, ag ràdh ris,
6 Eiſd ruinne, mo thighearna: *is*
uachdaran [e] cumhachdach thuſa 'nar
meaſg-ne; ann an roghainn [f] ar n-àit-
eachan-adhlaic, adhlaic do mharbh:
cha chum duine 'nar meaſg-ne àit'
adhlaic uait, gu d' mharbh adhlac
ann [g].
7 Agus dh'éirich Abraham ſuas,
agus chrom ſe e féin do mhuinntir na
tìre, *eadhon* do mhic Het.
8 Agus labhair e riu, ag ràdh,
Ma's àill leibh [h] gu'n adhlaicinn mo
mharbh as mo ſhealladh, éiſdibh rium,
agus labhraibh air mo ſhon [i] re h-Eph-
ron mac Shohair;
9 Chum as gu'n d'thoir [k] e dhomh
uaimh Mhachpelaih a *ta* aige, a *ta* ann
an crìoch achaidh [l] air ſon uiread air-
gid 's is fiu [m] i, thugadh e dhomh i
mar ſheilbh àit'-adhlaic 'nar meaſg-
na.
10 Agus bha Ephron 'na chòmh-
nuidh am meaſg chloinne Het.
Agus fhreagair Ephron an t-Hiteach
Abraham ann an éiſdeachd cloinne
Het, *eadhon* gach neach a chaidh ſteach
air geatadh a bhaile-ſan, ag ràdh,
11 Na biodh e mar ſin [n], mo thi-
ghearna, éiſd rium: an t-achadh
bheir mi dhuit, agus an uaimh a ta
ann, bheir mi dhuit i; ann an lathair
mhac mo dhaoine bheir mi dhuit i:
adhlaic do mharbh.
12 Agus chrom Abraham e féin
ſìos 'an làthair muinntir na tìre.
13 Agus labhair e re h-Ephron,
ann an éiſdeachd muinntir na tìre, ag
ràdh, Ach ma *bheir thu ſeachad i*, guidh-
eam ort, éiſd rium: bheir mi dhuit
airgiod air ſon an achaidh, gabh uam
e, agus adhlaicidh mi mo mharbh 'an
ſin.
14 Agus fhreagair Ephron Abra-
ham, ag ràdh ris,
15 Mo thighearna, éiſd rium: *is fiu*
an t-achadh ceithir cheud ſecel airgid;
ciod ſin eadar mis' agus thuſa? uime
ſin adhlaic do mharbh.
16 Agus dh'éiſd Abraham re
h-Ephron, agus thomhais Abraham do
Ephron an t-airgiod, a dh'ainmich e
ann an éiſdeachd mhac Het, ceithir
cheud ſecel airgid, a ghabhas an cean-
naiche [o].
17 Agus rinneadh achadh Ephroin,
a *bha* ann am Machpelah, a *bha* fa
chomhair Mhamre, an t-achadh, agus
an uaimh a *bh' ann*, agus gach craobh
a *bha* 'ſan achadh, a *bha* 'na chrìch uile
mu'n cuairt,
18 Daingean do Abraham mar
ſheilbh, ann an làthair cloinne Het,
am fianuis gach neach a chaidh ſteach
air geatadh a bhaile-ſan.
19 Agus 'an déigh ſin dh'adhlaic
Abraham Sarah a bhean, ann an uaimh
achaidh Mhachpelaih, fa chomhair
Mhamre: *is e* ſin Hebron ann an tìr
Chanaain.
20 Agus rinneadh an t-achadh, a-
gus an uaimh a *ta* ann, daingean do
Abraham, mar ſheilbh àit'-adhlaic, le
mic Het.

CAIB. XXIV.

AGUS bha Abraham ſean, *agus air*
teachd gu h-aois mhòir [p], agus
bheannaich an Tighearn Abraham 'ſna
h-uile nithibh.
2 Agus thubhairt Abraham r'a
ſheirbhiſeach bu ſhine 'na thigh, aig
an robh riaghladh gach ni bh'aige,
Cuir, guidheam ort, do làmh fui'm
ſhliaſaid.
3 Agus bheir mi ort mionnachadh
air an Tighearna, Dia nèimh, agus
Dia na talmhainn [q], nach gabh thu
bean

[a] *bròin.* [b] *a ghul, a chaoineadh.* [c] *tuama.* [d] *a m' làthair.* [e] *prionnſadh.* [f] *roghadh.* [g] *cha'n'eil mac duine 'nar meaſg-ne dhiot do mharbh adhlac 'na ait'-adhlaic.* [h] *ma's e ar toil.* [i] *gu'dhibh, deanaibh maoidhean as mo leth.* [k] *gu'n toir.* [l] *fhearainn, a raoin.* [m] *fiach.* [n] *Ni h-eadh.* [o] *marſantà* [p] *air dol air aghaidh gu math ám bliadhnaibh.* [q] *an talmhain.*

bean do m' mhac do nigheanaibh nan
Canaanach, am meaſg *am bheil* mis
a m' chomhnuidh :
4 Ach théid thu do m' dhùthaich
féin, agus a chum mo luchd-dàimh [t],
agus gabhaidh tu bean do m' mhac
Iſaac.
5 Agus thubhairt an ſeirbhiſeach ris,
Ma's e 's nach bi bhean toileach air mis'
a leantuinn do'n tìr ſo, an éigin domh
do mhac a thoirt air ais a rìs do'n
tìr as an d'thàinig thu ?
6 Agus thubhairt Abraham ris,
Thoir an ro-aire [a] nach d'thoir thu
mo mhac 'an ſin a rìs [b].
7 An Tighearna, Dia nèimh, a thug
miſe o thigh m'athar, agus o thìr mo
dhilſean, agus a labhair rium, agus a
mhionnaich dhomh, ag radh, Do d'
ſhliochd bheir mi am fearann ſo;
cuiridh eſan aingeal féin romhad, a-
gus gabhaidh tu bean do m' mhac as
ſin.
8 Agus mur bi bhean toileach air
thus' a leantuinn, 'an ſin bithidh tu
ſaor o m' mhionnaibh ſe : a mhàin na
d'thoir mo mhac 'an ſin a rìs.
9 Agus chuir an ſeirbhiſeach a làmh
fuidh ſliaſaid Abrahaim a mhaighſtir,
agus mhionnaich e dha thaobh an ni
ſin.
10 Agus ghabh an ſeirbhiſeach
deich càmhail do chàmhalan a mhaigh-
ſtir, agus dh'fhalbh e; oir *bha*
maoin a mhaighſtir uile aige f'a
làimh [c]: Agus dh'éirich e, agus
chaidh e gu Meſopotamia, gu baile
Nahoir.
11 Agus thug e air na càmhail an
glùn a lùbadh an taobh a muigh [d] do'n
bhaile, làimh re tobar uiſge, mu thràth
feaſgair, *eadhon* mu'n àm an d'théid [e]
mnài a mach a tharruing *uiſge*.
12 Agus thubhairt e, O Thighear-
na, Dhé mo mhaighſtir Abrahaim, deò-
naich gu'n ſoirbhich leams' an diugh [f],
agus nochd caoimhneas do m'mhaigh-
ſtir Abraham.
13 Feuch, *tha* mi m' ſheaſamh '*an*
ſo làimh ris an tobar uiſge, agus thig
nigheana muinntir [g] a' bhaile mach a
tharuing uiſge.
14 Agus tachaireadh e [h], a'mhaigh-
dean ris an abair miſe, Leig sìos, guidh-
eam ort, do ſhoitheach chum's gu'n òl
mi ; agus their iſe, Ol, agus bheir miſe
deoch do d' chàmhail mar an ceudna :
gu ma b i [k] ſin féin a dh'òrduich thu
do d' ſheirbhiſeach Iſaac ; agus le ſin
bithidh fios agam gu'n do nochd thu
coimhneas do m' mhaighſtir.
15 Agus mun do ſguir e do labhairt,
feuch, thàinig Rebecah a mach, a
rugadh do Bhetuel mac Mhilcah, mnà
Nahoir, bràthar Abrahaim ; agus a
ſoitheach air a gualainn.
16 Agus bha chailin ro mhaiſeach
re amharc oirre; òigh ; agus cha b'
aithne do fhear riamh i : agus chaidh
i sìos do'n tobar, agus lìon i a ſoith-
each, agus thàinig i nìos.
17 Agus ruidh an ſeirbhiſeach 'na
coinneamh [l], agus thubhairt e, Leig
dhomh, guidheam ort, beagan uiſg' òl
as do ſhoitheach [m].
18 Agus thubhairt i, Ol, mo thi-
ghearna : agus ghreas i oirre [n], agus
leig i sìos a ſoitheach air a làimh, agus
thug i dha deoch.
19 Agus 'an déigh dh'i deoch a
thoirt da, thubhairt i, Tairngidh mi
uiſg' air ſon do chàmhal mar an ceud-
na, gus an ſguir iad a dh'òl.
20 Agus ghreas i oirre, agus dh'fhal-
mhuich [o] i a ſoitheach 'ſan amar, agus
ruidh i rìs do'n tobar, a tharruing *uiſge* :
agus tharruing i air ſon a chàmhal uile.
21 Agus *bha*'n duin 'ag amharc le
h-iongantas oirre, *agus* a' ſantuinn 'na
thoſd [p], a dh' fheuchainn an d'thug
no nach d'thug an Tighearn air a
thurus [q] ſoirbheachadh leis.
22 Agus 'nuair a ſguir na càmhail
a dh'òl, 'an ſin ghabh an duine cluas-
fhainne òir, 'ſan robh leth ſeceil a chud-
throm, agus dà làmh-fhail [r] air ſon a
làmh, 'ſan robh deich *ſeceil* òir a chud-
throm.
23 Agus thubhairt e, Co d'an ni-
ghean thu ? innis dhomh, guidheam
ort :

[t] *mo dhilſean.* [a] *Bi air do ro-ſhaicill.* [b] *a rìſt.* [c] *agus* thug e leis cuid do *uile mhaoin a mhaighſtir 'na làimh.* [d] *a mach.* [e] *an téid.* [f] *cum, guidheam ort, coinneamh rium-ſa 'n diugh.* [g] *dhaoine.* [h] *tarladh e, thigeadh e gu crìch ; bitheadh e.* Eabh. [k] gu'm bu h-*i.* [l] *'na cò-dhail.* [m] *Caiſg m' ìotadh, guidheam ort, le beagan uiſg' as do ſhoitheach.* [n] *rinn i deifir,* no *cabhag.* [o] *dh'-fholamhuich.* [p] *bha'n duine 'na thoſd, ag amharc oirre le h-iongantas.* [q] *a ſhlighe.* [r] *bracelets Saiſ.*

ert am bheil *ann* an tigh t'athar àite
dhuinn gu tàmh [a] a ghabhail ann?
24 Agus thubhairt i ris, 'S mise ni-
ghean Bhetueil, mhic Mhilcah, a rug i
do Nahor.
25 Thubhairt i ris mar an ceudna,
Tha againne araon connlach [b], agus
innlinn [c] gu leòr, agus àite gu tàmh
a gabhail ann.
26 Agus chrom an duine e féin sìos,
agus rinn e aoradh do'n Tighearna.
27 Agus thubhairt e, Beannaichte
gu robh an Tighearna, Dia mo
mhaighstir Abrahaim, nach do bhuin a
thròcair agus fhìrinn o m' mhaighstir[d]:
air dhomhsa *bhi* 'san t-slighe, stiuir [e] an
Tighearna mi gu tigh bhràithre mo
mhaighstir.
28 Agus ruidh a' mhaighdean, a-
gus dh'innis i na nithe-sa do *mhuinntir*
tighe a màthar.
29 Agus *bha* bràthair aig Rebecah,
d'am b' ainm Laban: agus ruidh La-
ban a dh'ionnsuidh an duine a mach
chum an tobair.
30 Agus 'nuair a chunnaic e a'
chluas-fhàinne, agus na làmh-fhailean
air làmhan a pheathar, agus 'nuair a
chual' e briathra Rebecah a pheathar,
ag ràdh, Mar so labhair an duine rium;
'an sin thàinig e dh'ionnsuidh an duine,
agus feuch, sheas e làimh ris na càmhail
aig an tobar.
31 Agus thubhairt e, Thig a steach,
thusa ta beannaichte o'n Tighearna;
c'uime sheasas tu a muigh? oir dh'ul-
luich [f] mis' an tigh, agus àite do na
càmhail.
32 Agus thàinig an duine do'n tigh,
agus dh'fhuasgail e na càmhail, agus
thug e seachad connlach agus innlinn
air son nan càmhal, agus uisg' a dh'ionn-
lad a chas, agus casan nan daoin' a *bha*
maille ris.
33 Agus chuireadh *biadh* air a bheul-
aobh gu itheadh: ach thubhairt e,
Cha 'n ith mi, gus an innis mi mo
ghnothuch. Agus thubhairt esan,
Labhair romhad.
34 Agus thubhairt e, *Is* mise feir-
bhiseach Abrahaim.
35 Agus bheannaich an Tighearna
mo mhaighstir gu mòr, agus tha e air
fàs cumhachdach: agus thug e dha
caoraich, agus crodh, agus airgiod, a-
gus òr, agus òglaich agus ban-oglaich,
agus camhail agus asail.
36 Agus rug Sarah bean mo mhaigh-
stir, mac do m' mhaighstir 'na sean
aois; agus thug e dha-san gach ni a *bh'*
aige [g].
37 Agus thug mo mhaighstir ormsa
mo mhionnan a thoirt, ag ràdh, Cha
ghabh thu bean do m' mhac do ni-
gheanaibh nan Canaanach, muinntir *a
tha* mis' a chòmnuidh 'nam fearann.
38 Ach théid thu dh'ionnsuidh tighe
m'athar, agus a dh'ionnsuidh mo
dhilsean, agus gabhaidh tu bean do m'
mhac.
39 Agus thubhairt mi re m' mhaigh-
stir, Theagamh nach lean a bhean mi.
40 Agus thubhairt esan rium, Cuir-
idh an Tighearn, 'an làthair an do
ghluais mise, aingeal féin leat, agus
soirbhichidh e do thurus; agus gabhaidh
tu bean do m' mhac do m' dhilsibh,
agus do thigh m'athar.
41 'An sin bithidh tu saor o m'
mhionnaibh-sa, 'nuair a thig thu chum
mo dhilse; agus mur d'thoir iad dhuit
bean, 'an sin bithidh tu saor o m' mhion-
naibh.
42 Agus thàinig mi'n diugh chum
an tobair, agus thubhairt mi, O Thi-
ghearna, Dhé mo mhaighstir Abra-
haim, ma shoirbhicheas tu nis mo
thurus air am bheil mi 'g imeachd;
43 Feuch, tha mi m'sheasamh làimh
ris an tobar uisge; agus 'nuair a thig
a' mhaighdean [h] a mach a tharruing
uisge, agus a their mi ria, Thoir dhomh,
guidheam ort, beagan uisge re òl as do
shoitheach;
44 Agus a their ise rium, Ol thu
féin, agus tairngidh mise mar an ceud-
na do d'chàmhail: *gu ma b*-i sin féin a'
bhean a dh'òrduich [k] an Tighearna
do mhac mo mhaighstir.
45 Agus mun do sguir [l] mi labhairt
a'm chridhe, feuch, thàinig Rebecah a
mach, agus a soitheach air a gualainn;
agus

[a] *aiodheachd.* [b] *fodar.* [c] *biadh spréidh.* [d] *nach d'fhàg mo mhaighstir as eugmhais a thròcair agus fhìrinn.* [e] *threòraich.* [f] *dh'ullomhuich, dheasaich.* [g] *gach ni a* ta *aige.* [h] *a' chailin.* [k] *a chombaraich a mach.* [l] *fuil do sguir.*
Eir.

agus chaidh i sìos do'n tobar, agus tharruing i *uisge:* Agus thubhairt mi ria, Thoir dhomh deoch, guidheam ort:

46 Agus ghreas i oirre, agus leig i sìos a soitheach o *ghualainn*, agus thubhairt i, Ol, agus bheir mi deoch do d' chàmhail mar an ceudna: agus dh' òl mi, agus thug i air na càmhail òl mar an ceudna.

47 Agus dh'fhiosraich [a] mi dhith, agus thubhairt mi, Co d'an nighean thusa? Agus thubhairt ise, '*S* mi nighean Bhetueil, mhic Nahoir, a rug Milcah dha: Agus chuir mi chluasfhàinne air a h-aghaidh, agus na làmhfhailean air a làmhan.

48 Agus chrom mi sìos mo cheann, agus rinn mi aoradh do'n Tighearna, agus bheannaich mi 'n Tighearna, Dia mo mhaighstir Abrahaim, a threòraich mi 'san t-slighe cheart [b], a ghabhail nighinn bràthar mo mhaighstir d'a mhac.

49 Agus a nis, ma bhuineas sibh gu caoimhneil agus gu firinneach re m' mhaighstir, innsibh dhomh; agus mur *buin*, innsibh dhomh; chum as gu'n tionndaidh mi dh'ionnsuidh na làimh deise, no na làimh clì.

50 'An sin fhreagair Laban agus Betuel, agus thubhairt iad, '*S ann* o 'n Tighearna thàinig an ni *so:* cha'n urrainn sinne olc no math a ràdh riut.

51 Feuch, *tha* Rebecah a'd' làthair, gabh *i*, agus imich; agus biodh i 'na mnaoi aig mac do mhaighstir, mar a labhair an Tighearna.

52 Agus 'nuair a chuala seirbhiseach Abrahaim am briathra, chrom se e féin [c] gu làr do'n Tighearna.

53 Agus thug an seirbhiseach a làthair seudan [d] airgid agus seudan òir, agus eudach, agus thug e *iad* do Rebecah: thug e mar an ceudna nithe luachmhor [e] d'a bràthair agus d'a màthair.

54 Agus dh'ith iad, agus dh'òl iad, e féin agus na daoine *bha* maille ris, agus dh'fhan iad rè na h-oidhche: agus dh'éirich iad 'sa' mhadainn; agus thubhairt esan, Cuiribh air falbh mi dh'ionnsuidh mo mhaighstir.

55 Agus thubhairt a bràthair agus a màthair, Fanadh a' mhaighdean maille ruinne air a'chuid a's lugha deich lathan; 'na dhéigh sin falbhaidh i.

56 Agus thubhairt e riu, Na cuiribh moille orm, oir shoirbhich an Tighearna mo thurus: cuiribh air falbh mi, 's gu'n d'théid mi dh'ionnsuidh mo mhaighstir.

57 Agus thubhairt iad, Gairmidh sinn air a' mhaighdinn, agus fiosraichidh sinn d'a beul féin.

58 Agus ghairm iad air Rebecah, agus thubhairt iad ria, An d'theid thu leis an duine so? Agus thubhairt i, Théid.

59 Agus chuir iad air falbh Rebecah am piuthar, agus a banaltrum, agus seirbhiseach Abrahaim, agus a dhaoine.

60 Agus bheannaich iad Rebecah, agus thubhairt iad ria, '*S* tu ar piuthar, bi-sa a' d' *mhàthair* mhìlte do mhuillionaibh; agus sealbhaicheadh do shliochd geata na muinntir sin le 'm fuathach iad.

61 Agus dh'éirich Rebecah, agus a maighdeanan, agus mharcaich iad air na càmhail, agus lean iad an duine: agus ghabh an seirbhiseach Rebecah, agus dh'fhalbh e roimhe.

62 Agus bha Isaac a' teachd o shlighe an tobair Lahai-roi; oir bha e chomhnuidh 'san tìr fa dheas.

63 Agus chaidh Isaac a mach a bheachd-smuaineachadh 'san fhaiche [f], air feasgar: agus thog e suas a shùilean, agus chunnaic e, agus feuch, *bha* na càmhail a' tighinn [g].

64 Agus thog Rebecah suas a sùilean, agus 'nuair a chunnaic i Isaac, theiring i [h] bhàrr a' chàmhail.

65 Agus thubhairt i ris an t-seirbhiseach, Co e 'n duine so *ta* sràidimeachd 'san fhaiche g'ar coinneachadh? Agus thubhairt an seirbhiseach, '*S* e mo mhaighstir a th'ann: 'an sin ghabh i gnùis-bhrat [k], agus chòmhdaich si i féin.

66 Agus dh'innis an seirbhiseach do Isaac na h-uile nithe a rinn e.

67 Agus thug Isaac i do bhùth Sharaih a mhàthar, agus ghabh e Rebecah, agus bha i aige 'na mnaoi; agus

[a] *dh'fheòraich, dh'fhaoineachd, dh'fharraid.* [b] *air slighe na firinn.* Eabh. *rinn e aoradh.* [d] *soithichean.* Eabh. [e] *prìseil.* [f] *'sa' mhagh, 'sa' mhachair.* [g] *a'teachd.* [h] *thainig i nuas.* [k] *sgaile air son a h-eudainn.*

agus ghràdhaich e i: agus fhuair Isaac sòlas 'an déigh *bàis* a mhàthar.

CAIB. XXV.

ANN sin ghabh Abraham bean a ris, d'am *b'* ainm Ceturah.

2 Agus rug i dha Simran, agus Iocsan, agus Medan, agus Midian, agus Isbac, agus Suah.

3 Agus ghin Iocsan Seba, agus Dedan. Agus b' iad mic Dhedain Asurim, agus Letusim, agus Leumim.

4 Agus mic Mhidiain; Ephah, agus Epher, agus Hanoch, agus Abidah, agus Eldaah: *b'* iad sin uile mic Cheturah.

5 Agus thug Abraham gach *ni* bh' aige do Isaac.

6 Ach do mhic nan leannan a *bh'* aig Abraham, thug Abraham tiodhlaca [a]; agus chuir e air falbh iad o mhac Isaac, 'nuair a bha e féin fathast beo, do'n taobh an ear [b], do thìr na h-àirde 'n ear.

7 Agus *'s iad* so lathan bhliadhnacha beatha Abrahaim a bha e beo; ceud agus tri fichead, agus cùig bliadhna deug.

8 'An sin thug Abraham suas an deo [c], agus fhuair e bàs ann an deagh shean aois, 'na sheann-duine, agus làn *do bhliadhnaibh*: agus chruinnicheadh e chum a mhuinntir.

9 Agus dh'adhlaic a mhic Isaac agus Ismael e ann an uaimh Mhachpelaih, ann an achadh Ephroin, mhic Shoair an Hiteich, a *ta* fa chomhair Mhamre.

10 An t-achadh a cheannaich Abraham o mhic Het: ann an sin dh'adhlaiceadh Abraham, agus Sàrah a bhean.

11 Agus 'an déigh bàis Abrahaim, bheannaich Dia Isaac a mhac: agus ghabh Isaac còmhnuidh làimh re tobar Lahai-roi.

12 A nis *is* iad sin ginealaich Ismaeil, mhic Abrahaim, a rug Hàgar a' bhan-Eiphiteach, ban-oglach Sharaih, do Abraham.

13 Agus *is* iad sin ainmeana mhac Ismaeil 'nan ainmeanaibh, a réir an ginealacha: ceud-ghin Ismaeil, Nebaiot; agus Cedar, agus Adbeel, agus Mibsam.

14 Agus Misma, agus Dumah, agus Masa,

15 Hadar, agus Tema, Ietur, Naphis, agus Cedemah.

16 *Is* iad sin mic Ismaeil, agus *is* iad sin an ainmeana 'nam bailtibh, agus 'nan daingneachaibh [d]; dà cheannard deug a reir am fineacha.

17 Agus *is* iad sin bliadhnacha beatha Ismaeil, ceud agus seachd bliadhna deug 'ar fhichead: agus thug e suas an deo, agus dh'eug e, agus chruinnicheadh e chum a mhuinntir.

18 Agus ghabh iad còmhnuidh o Habhilah gu nuig Sur, a *ta* fa chomhair na h-Eiphit, mar a théid thu gu h-Asiria. 'An làthair a bhràithrean uile fhuair e bàs.

19 Agus *is* iad sin ginealaich Isaaic mhic Abrahaim: Ghin Abraham Isaac.

20 Agus bha Isaac dà fhichead bliadhna dh'aois 'nuair a ghabh e Rebecah, nighean Bhetueil, an t-Sirianaich o Phadan-aram, piuthar Labain an t-Sirianaich dha féin 'na mnaoi.

21 Agus ghuidh [e] Isaac an Tighearna air son a mhnà, chionn gu'*n robh* i neo-thorrach: agus dh'éisd an Tighearna ris, agus dh'fhàs Rebecah a bhean torrach.

22 Agus bha chlann a' coimhghleacadh [f] 'an taobh a stigh dh'i: agus thubhairt ise, Ma *ta chùis* mar sin, c'ar son a *tha* mi mar so? Agus chaidh i dh'fhiosrachadh [g] do'n Tighearna.

23 Agus thubhairt an Tighearna ria, *Tha* dà chinneach a'd' bholg, agus bithidh dà shluagh air an sgaradh o t'innibh: agus bithidh *aon* sluagh *dhiubh so* ni's treise na *'n* sluagh *eile*; agus ni esan a's sine [h] seirbhis dha-san a's òige [k].

24 Agus 'nuair a choi' lionadh a lathan gu bi air a h-aisead [l], feuch, *bha* leth-aona [m] 'na bolg.

25 Agus thàinig an ceud-ghin a mach

[a] *gibhtean.* [b] *an oir* [c] *an anail* [d] *caistealaibh.* [e] *dh'athchuingich.* [f] *a' gleachdadh* no *strì re chéile* [g] *dh'fhheòraich.* [h] *a's mo.* [k] *a's lugha.* [l] *lathan a tuislidh; làethe a tuismidhe.* Eir. [m] *dithis* naoidheana.

[illegible] dearg, is e [illegible] mar fhalluinn
[illegible]; agus thug iad Eſau mar
ainm air.
26 Agus 'na dheigh ſin thàinig a
bhràthair a mach, agus greim aig a
làimh do ſhàil Eſau; agus thugadh
Iacob mar ainm air: agus *bha* Iſaac
trì-fichead bliadhna dh'aois, 'nuair a
rugadh iad.
27 Agus dh'fhàs na gillean [a]; agus
bha Eſau 'na ſhealgair eòlta, na fhear
machrach; agus *bha* Iacob 'na dhuine
coi'-lionta [b], a gabhail còmhnuidh
'am bùthaibh.
28 Agus ghràdhaich Iſaac Eſau [c],
a chionn gu'n d'ith e d'*a* ſhithinn [d];
ach ghràdhaich Rebecah Iacob.
29 Agus bhruich Iacob brochan:
agus thàinig Eſau o'n mhachair, agus
e fann [e].
30 Agus thubhairt Eſau re Iacob,
Leig dhomh itheadh, guidheam ort,
do'n *bhrochan* dearg ſin fèin; oir *tha*
mi fann; uime ſin thugadh Edom mar
ainm air.
31 Agus thubhairt Iacob, Reic
rium an diugh dò chòir-bhreith [f].
32 Agus thubhairt Eſau, Feuch,
tha mi dlù [g] don bhàs; agus ciod an
tairbh' a tha 'ſa' chòir-bhreith ſo
dhomhſa?
33 Agus thubhairt Iacob, Mion-
naich dhomhſa 'n diugh; agus mhion-
naich e dha: agus reic e chòir-bhreith
re Iacob.
34 'An ſin thug Iacob do Eſau aran,
agus brochan do ghall-pheaſair [h];
agus dh'ith e agus dh'òl e, agus dh'
éirich e, agus dh'fhalbh e roimhe:
mar ſo rinn Eſau dì-meas air a chòir-
bhreith.

C A I B. XXVI.

AGUS bha gorta 'ſan tìr a bhar-
rachd [k] air a' cheud ghorta bha
ann an laithibh Abrahaim: agus chaidh
Iſaac gu Abimelech righ nam Philiſti-
neach, do Gherar.
2 Agus dh'fhoillſich an Tighearn
e féin dha, agus thubhairt e, Na rach
ſios do'n Eiphit: gabh comhnuidh
anns an tìr a dh' innſeas miſe dhuit.
3 Bi air chuairt 'ſan tìr ſo, agus
bithidh miſe maille riut, agus bean-
naichidh mi thu: oir dhuitſe agus do d'
ſhliochd bheir miſe na dùthchanna
ſin uile, agus coi'-lionaidh mi na
mionnan a mhionnaich mi do t'athair
Abraham.
4 Agus bheir mi air do ſhliochd
fàs lionmhor mar reulta nèimh, agus
bheir mi do d' ſhliochd na dùthchanna
ſin uile: agus beannaichear ann ad
ſhliochd-ſa uile chinnich na talmhainn.
5 Do bhrìgh gu'n d'éiſd Abraham
re m' ghuth, agus gu'n do ghléidh e
m'iarrtas [l], m' àitheanta, m'orduigh-
ean, agus mo laghanna [m].
6 Agus ghabh Iſaac còmhnuidh ann
an Gerar.
7 Agus dh'fhioſraich daoin' an àite
dheth m'a mhnaoi; agus thubhairt e,
'*Si* mo phiuthar i: oir bha eagal
air a ràdh, '*Si* mo bhean *i*; an t-eagal,
ars' eſan, gu'm marbhadh daoin'
an àite mi air ſon Rebecah, do bhrìgh
gu'*n robh* i maiſeach re amharc oirre.
8 Agus 'nuair a bha e aimſir fhada
'n ſin, sheall Abimelech righ nam
Philiſtineach a mach air uinneig, agus
chunnaic e, agus feuch, *bha* Iſaac a'
ſùgradh r'a mhnaoi Rebecah.
9 Agus ghairm Abimelech air Iſaac,
agus thubhairt e, Feuch, gu cinnteach,
s'i do bhean i: agus cionnas a thu
bhairt thu, '*Si* mo phiuthar i? agus
thubhairt Iſaac ris, A chionn gu'n d'
thubhairt mi, An t-eagal gu'm bàſaich
mi air a ſon.
10 Agus thubhairt Abimelech,
Ciod e ſo a rinn thu oirn? dh'fheud-
adh a h-aon do'n t'-ſluagh luidhe le d'
mhnaoi, agus bheireadh tu cionta
oirne.
11 Agus thug Abimelech àithne
d'*a* ſhluagh uile, ag ràdh, Eſan a
bheanas ris an duine ſo no r'a mhnaoi,
gu cinnteach cuirear gu bàs e.
12 'An ſin ſhiol-chuir Iſaac 'ſan tìr
ſin

[a] *na h-òganaich.* [b] *dìreach, gu'n lùb.* [c] *bu toigh le h-Iſaac Eſau, b'ion-mhuinn le h-Iſaac Eſau.* [d] *d'a ſheilg.* [e] *agus e air a chur, e fàilingeach.* [f] *do chòir [illegible]ud-bhreith.* [g] *dlùth.* [h] *lentiles.* Saſg. [k] *a thuille.* [l] *m'earail.* [m] *mo reachda.*

ſin, agus fhuair e 'ſa' bhliadhna 'ſin
féin a' cheud uiread *'s a chuir e*, a-
gus bheannaich an Tighearn e.
13 Agus dh'fhàs an duine mòr,
agus chaidh e air aghaidh, agus dh'-
fhàs e, gus an robh e ro-mhòr:
14 Oir bha aige ſealbh chaorach,
agus ſealbh cruidh, agus mòran ſheir-
bhiſeach[a]. Agus ghabh na Philiſtinich
farmad ris.
15 Agus dhùin na Philiſtinich ſuas
na tobair uile a chladhaich ſeirbhiſich
athar, ann an laithibh Abrahaim a-
thar, agus lìon iad le h-ùir iad.
16 Agus thubhairt Abimelech re
h-Iſaac, Imich uainne; oir is cumh-
achdaiche thu gu mòr na ſinne.
17 Agus dh'imich Iſaac as ſin,
agus ſhuidhich e bhùth ann an gleann
Gherair, agus ghabh e còmhnuidh
an ſin.
18 Agus chladhaich Iſaac a rìs na
tobair uiſge, a chladhaicheadh ann an
laithibh Abrahaim athar; oir dhùin
na Philiſtinich ſuas iad 'an déigh bàis
Abrahaim: agus thug e ainmeanan
orra a réir nan ainmeana thug athair
orra.
19 Agus chladhaich ſeirbhiſich
Iſaaic 'ſa' ghleann, agus fhuair iad
'an ſin tobar fìor-uiſge.
20 Agus rinn buachailleann Ghe-
rair conſachadh[b] re buachailleann
Iſaaic, ag radh, *Is* leinne 'n t-uiſge:
agus thug e Eſec mar ainm air an to-
bar, a chionn gu'n d'rinn iad conſach-
adh ris.
21 Agus chladhaich iad tobar eile,
agus rinn iad conſachadh uime ſin
cuideachd: agus thug e Sitnah mar
ainm air.
22 Agus chaidh e iomraich as ſin,
agus chladhaich e tobar eile; agus cha
d'rinn iad conſachadh uime ſin: agus
thug e Rehobot mar ainm air; agus
thubhairt e, Oir thug an Thighearn a
nis farſaingeachd dhuinn; agus fàſaidh
ſinn lionmhor[c] 'ſan tìr.
23 Agus chaidh e ſuas as ſin gu
Beer-ſeba.
24 Agus dh'fhoillſich an Tighearn
e féin da 'ſan oidhche ſin féin, agus
thubhairt e, *Is* miſe Dia Abrahaim
t-athar; na biodh eagal ort, Oir a ta
miſe maille riut, agus beannaichidh
mi thu, agus ni mi do ſhliochd lìon-
mhor air ſgàth mo ſheirbhiſich A-
brahaim.
25 Agus thog e altair 'an ſin, agus
ghairm e air ainm an Tighearna, agus
ſhuidhich e 'n ſin a bhùth: agus chla-
dhaich ſeirbhiſich Iſaaic tobar 'an ſin.
26 'An ſin chaidh Abimelech d'a
ionnſuidh o Gherar, agus a charaid
Ahudſat, agus Phichol ard cheannard
a ſhluaigh[d].
27 Agus thubhairt Iſaac riu, C'ar
ſon a thàinig ſibh a m'ionnſuidh, agus
gu bheil fuath agaibh dhomh, agus
gu'n do chuir ſibh uaibh mi?
28 Agus thubhairt iadſan, Chun-
naic ſinn gu cinnteach gu'n robh an
Tighearna leat; agus thubhairt ſinn,
Biodh a nis mionnan eadarainn, *eadh-
on* eadar ſinne agus thuſa, agus dean-
amaid coi'-cheangal riut.
29 Nach dean thu oirne cron 'ſam
bith, mar nach do bhean ſinne riutſa,
agus mar nach do rinn ſinn ni ſam
bith ort ach math, agus a chuir ſinn
uainn thu 'n sìth: Tha thuſa nis air
do bheannachadh leis an Tighearna.
30 Agus rinn e dhoibh cuirm, a-
gus dh'ith agus dh'òl iad.
31 Agus dh'éirich iad gu moch 'ſa'
mhadainn, agus mhionnaich iad d'a
chéile: agus chuir Iſaac air falbh
iad, agus dh'imich iad uaith 'an sìth.
32 Agus air an là ſin féin thàinig
ſeirbhiſich Iſaaic, agus dh'innis iad dha
m'a thimchioll an tobair a chladhaich
iad, agus thubhairt iad ris, Fhuair ſinn
uiſge.
33 Agus thug e Sebah mar ainm
air: uime ſin *'ſe* Beer-ſebah ainm a'
bhaile ſin gus an la'n diugh.
34 Agus bha Eſau dà fhichead
bliadhna dh'aois; agus ghabh e mar
mhnaoi Iudit, nighean Bheeri an Hit-
ich, agus Baſemat nighean Eloin an
Hitich.
35 Agus bha iad *ſin* 'nam briſeadh-
cridhe[e] do Iſaac agus do Rebecah.

CAIB. XXVII.

AGUS 'nuair a bha Iſaac air fàs
ſean, agus a bha ſhùilean dall air
chor as nach faiceadh e, ghairm e air
Eſau a mhac bu ſhine, agus thubhairt
e ris, A mhic: agus thubhairt eſan ris,
Feuch, *tha* mi *'n ſo*.

2 Agus

[a] *mor mhuinntir* [b] *comhſtri.* [c] *siolmhor.* [d] *di mailt.* [e] *mulad inntinn.*

2 Agus thubhairt esan, Feuch a
nis, tha mise sean; cha'n'eil fios agam
air latha mo bhàis.
3 Agus a nis, guidheam ort, gabh
t'airm, do bolg-saighead agus do
bhogha, agus falbh a mach do'n
mhachair, agus sealg dhomh sithionn;
4 Agus dean dhomh biadh blasda mar
is ionmhuinn [a] leam, agus thoir a m'
ionnsuidh e, agus gu'n ith mi; chum
as gu'm beannaich m'anam thu mum
faigh mi bàs
5 Agus chuala Rebecah nuair a la-
bhair Isaac r'a mhac Esau: agus chaidh
Esau do'n mhachair a shealg sithinn,
gu toirt *d'a ionnsuidh*.
6 Agus labhair Rebecah r'a mac
Iacob, ag ràdh, Feuch, chuala mi t'-
athair a' labhairt re h Esau do bhrà-
thair, ag ràdh,
7 Thoir a m' ionnsuidh sithionn, a-
gus dean biadh blasda dhomh, agus
gu'n ith mi, agus gu'm beannaich mi
thu 'n làthair an Tighearna, roimh m'
bhàs.
8 Nis uime sin, a mhic, éisd re m'
ghuth, a réir an ni a *ta* mi 'g àith-
neadh dhuit.
9 Falbh a nis a dh'ionnsuidh an
treud, agus thoir a m'ionnsuidh o sin
dà dheagh mheann do na gabhraibh;
agus ni mis' iad 'nam biadh blasda air
son t' athar, mar is ionmhuinn leis.
10 Agus bheir thu dh'ionnsuidh t'-
athar e, agus gu'n ith e, chum as gu'm
beannaich e thu roimh bhas.
11 Agus thubhairt Iacob re Rebecah
a mhàthair, Feuch, *tha* Esau mo bhra-
thair 'na dhuine molach, agus mis' a'm'
dhuine lom.
12 Ma 's e's [b] gu'n laimhsich m'-
athair mi, 'an sin measar mi leis [c] mar
neach leis am b'aill *a* mhealladh [d]; a-
gus bheir mi mallachadh orm féin, a-
gus cha bheannachadh.
13 Agus thubhairt a mhàthair ris,
Ormsa *bitheadh* do mhallachadh, a
mhic: a mhàin éisd re m' ghuth, agus
falbh, thoir a m' ionnsuidh *iad*.
14 Agus dh'fhalbh e, agus ghlac e
iad, agus thug e *iad* a dh'ionnsuidh
mhàthar: agus rinn a mhàthair biadh
blasda, mar a b'ionmhuinn le athair.
15 Agus ghabh Rebecah eudach
taitneach Esau a mic bu shine, a bh'-
aice 'san tigh; agus chuir i e air Iacob
a mac a b'òige.
16 Agus chuir i croicinn mheann
nan gabhar air a làmhan, agus air-
luime a mhuineil.
17 Agus thug i'm biadh blasda, a-
gus an t-aran a dheasaich i, do laimh a
mic Iacoib.
18 Agus thàinig e dh'ionnsuidh a-
thar, agus thubhairt e, Athair: agus
thubhairt esan, Feuch, *tha* mi '*n so*:
co thusa, a mhic?
19 Agus thubhairt Iacob r'a athair,
Is mise Esau do cheud-ghin; rinn mi
mar a dh'iarr thu orm [e]: éirich, gui-
dheam ort, suidh agus ith do m' shithinn,
chum as gu'm beannaich t'anam mi.
20 Agus thubhairt Isaac r'a mhac,
Cionnas a fhuair thu i cho luath, a
mhic? agus thubhairt esan, A chionn
gu'n do chuir an Tighearna do Dhia
a'm' rathad i.
21 Agus thubhairt Isaac re Iacob,
Thig am fagus a nis, agus gu'n laimhsich
mi thu, a mhic, an tusa féin mo mhac
Esau, no nach tu.
22 Agus chaidh Iacob am fagus d'a
athair Isaac, agus laimhsich se e; agus
thubhairt e, '*Se* 'n guth, guth Iacoib,
ach '*s iad* na làmhan làmhan Esau.
23 Agus cha d'aithnich se e, chionn
gu'n robh a làmha molach, mar làmhan
Esau a bhràthar: mar sin bheannaich se e.
24 Agus thubhairt e, An tusa féin
mo mhac Esau? agus thubhairt esan,
Is mi.
25 Agus thubhairt e, Thoir am fa-
gus domh *e*, agus ithidh mi do shithinn
mo mhic, chum as gu'm beannaich
m'anam thu. Agus thug e 'm fagus
da e, agus dh'ith e; agus thug e d' a
ionnsuidh fìon, agus dh'òl e.
26 Agus thubhairt athair Isaac ris,
Thig am fagus a nis, agus pòg mi, a
mhic.
27 Agus thàinig e'm fagus, agus
phòg se e; agus dh'fhairich [f] e bo-
ladh eudaich; agus bheannaich se e,
agus thubhairt e, Feuch, *tha* fàile mo
mhic mar fhàile fearainn [g], a bhean-
naich an Tighearna.

28

[a] *toigh.* [b] *Feudaidh e bi.* [c] *bithidh mi 'na shùilibh.* Eabh. [d] *mar mhealltair.* [e] *mar a thubhairt thu rium.* Eabh. [f] *bhol, bholtruich.* [g] *achaidh.*

28 Uime ſin gu'n d'thugadh Dia dhuit do dhrùchd [h] nèimh, agus do reamhrachd [k] na talmhainn, agus pailteas arbhair agus fìona.

29 Deanadh flòigh ſeirbhis dhuit, agus ſtrìochdadh cinnich [a] dhuit; bi d' uachdaran air do bhràithribh, agus cromadh mic do mhàthar sìos dhuit: mallaichte *gu'n robh* gach neach a mhallaicheas thu, agus beannaichte *gu'n robh* gach neach a bheannaicheas thu.

30 Agus co luath agus a ſguir Iſaac do bheannachadh Iacoib, 'nuair bu ghann a bha Iacob air dol a mach faſtaſt a lathair Iſaaic athar, thàinig a bhrathair Eſau o ſheilg.

31 Agus rinn eſan mar an ceudna biadh blaſda, agus thug e dh'ionnſuidh athar e; agus thubhairt e r'a athair, Eireadh m'athair, agus itheadh e do ſhithinn a mhic, chum gu'm beannaich t'anam mi.

32 Agus thubhairt Iſaac athair ris, Co thuſa? agus thubhairt eſan, *Is* mi do mhac, do cheud-ghin, Eſau.

33 Agus chriothnaich Iſaac le ballchrith an-barraich, agus thubhairt e, Co, c'àite '*m bheil* eſan a ghlac [b] ſithionn, agus a thug *i* m'ionnſuidh, agus dh'ith mi do'n iomlan mun d'thàinig thuſa? agus bheannaich mi e, ſeadh *agus* beannaichte bithidh ſe.

34 'Nuair a chual' Eſau briathran athar, ghlaodh e le glaodh mòr, agus ro ſhearbh; agus thubhairt e r'a athair, Beannaich miſe, *eadhon* miſe mar an ceudna, O athair.

35 Agus thubhairt e, Thàinig do bhràthair le ceilg, agus thug e leis do bheannachadh.

36 Agus thubhairt eſan, Nach ceart a thugadh Iacob mar ainm air? oir thàinig e fodham [c] an dà uair ſo: thug e leis mo chòir-bhreith; agus feuch, a nis thug e leis mo bheannachadh. Agus thubhairt e, Nach do ghleidh thu dhomhſa beannachadh?

37 Agus fhreagair Iſaac, agus thubhairt e re h-Eſau, Feuch, rinn mi e 'na uachdaran ort, agus a bhràithrean uile thug mi dha mar ſheirbhiſich; agus le h-arbhar agus le fìon chum mi ſuas e: agus dhuitſe ciod a nis a ni mi, a mhic?

38 Agus thubhairt Eſau r'a athair, Nach 'eil agad ach aon bheannachadh, athair? beannaich miſe, eadhon miſe mar an ceudna, O athair. Agus thog Eſau ſuas a ghuth, agus ghuil e.

39 Agus fhreagair Iſaac athair, agus thubhairt e ris, Feuch, ann an reamhrachd na talmhainn bithidh do chòmnuidh, agus ann an drùchd nèimh o'n àirde.

40 Agus le d' chlaidheamh [d] thig thu beo, agus do d' bhràthair ni thu ſeirbhis: agus 'nuair a bhios an uachdaranachd agad, 'an ſin briſidh tu a chuing o d' mhuineal.

41 Agus dh'fhuathaich Eſau Iacob air ſon a' bheannachaidh leis an do bheannaich athair e: agus thubhairt Eſau 'na chridhe, Tha làithean bròin air ſon m'athar am fagus, agus '*an ſin* marbhaidh mi mo bhrathair Iacob.

42 Agus dh'innſeadh do Rebecah briathran Eſau a mic bu ſhine, agus chuir i *teachdaire uaithe* [e], agus ghairm i air Iacob a mac a b'òige, agus thubhairt i ris, Feuch, *tha* do bhrathair Eſau toirt co'-fhurtachd dha féin a d' thaobh-ſa, *a' cur roimhe* do mharbhadh.

43 A nis uime ſin, a mhic, éiſd re m' ghuth, agus éirich, teich-ſa dh'ionnſuidh mo bhràthar Labain do Haran.

44 Agus fanaidh tu maille ris beagan do laithibh, gus an tionndaidh [f] fraoch feirge [g] do bhràthair;

45 Gus an tionndaidh corruich do bhràthair uait, agus gu'n di-chuimhnich e na rinn thu air: 'an ſin cuiridh miſe *fios*, agus bheir mi a ſin thu. C'ar ſon a chaillinn le chéile ſibh ann an aon là?

46 Agus thubhairt Rebecah re h-Iſaac, Tha mi ſgìth do m' bheatha air ſon nigheana Het: ma ghabhas Iacob bean do nigheanaibh Het, mar iadſan *a ta* do nigheanaibh na dùthcha, ciod am math a ni mo bheatha dhomhſa?

C A I B. XXVIII.

AGUS ghairm Iſaac air Iacob, agus bheannaich ſe e, agus dh'àithn e dha, agus thubhairt e ris, Cha ghabh thu bean do nigheanaibh Chanaain.

2 Eirich, imich do Phadan-aram, do thigh Bhetueil athar do mhàthar, agus gabh dhuit féin as ſin bean do nigheanaibh

[h] *do dhealt.* [k] *da ſhaill; do ſhult.* [a] *fineachan.* [b] *ſhealg.* [c] *fudham, fo m' làimh.*
[d] *le d' chlaidheamh.* [e] *chuir i* fios uaipe. [f] *traogh.* [g] *laſan feirge.*

naibh Labain, bràthar do mha-
-
gu beannaicheadh Dia uile-
chdach *thu*, agus du deanadh
mhor *thu*, agus gu d'thugadh e
lìonmhor, air chor as gu'm bi
d' cho-chruinneachadh chin-
[a]:
4 Agus gu d'thugadh e dhuit bean-
nachadh Abrahaim, dhuitse, agus do d'
shliochd maille riut; chum gu'n seal-
bhaich thu 'm fearann 'sam bheil thu
a'd' choigreach, a thug Dia do Abra-
ham.
5 Agus chuir Isaac air falbh Iacob,
agus chaidh e *do* Phadan-aram, gu La-
ban, mac Bhetueil an t-Sirianaich,
bràthair Rebecah, màthar Iacoib agus
Esau.
6 'Nuair a chunnaic Esau gu'n do
bheannaich Isaac Iacob, agus gu'n do
chuir e air falbh e do Phadan-aram, a
ghabhail mnâ dha féin as sin; agus
'nuair a bheannaich se e, gu'n d'thug
e àithne dha, ag ràdh, Cha ghabh thu
bean do nigheanaibh Chanaain;
7 Agus gu'n d'éisd Iacob[b] r'a athair,
agus r'a mhàthair, agus gu'n deachaidh
e do Phadan-aram;
8 Agus 'nuair a chunnaic Esau nach
do thaitinn nigheana Chanaain r'a a-
thair Isaac.
9 An sin chaidh Esau dh'ionnsuidh
Ismaeil, agus ghabh e Mahalat nighean
Ismaeil mhic Abrahaim, piuthar Ne-
baiot, dha féin mar mhnaoi a thuill'
air na mnaibh a bh'aige.
10 Agus chaidh Iacob a mach o
Bheer-seba, agus chaidh e gu Haran.
11 Agus thachair[c] e air àite *araidh*,
agus dh'fhan e 'n sin an oidhche sin, a
chionn gu'n robh a' ghrian air luidhe:
agus ghabh e *h-aon* do chlachaibh an
àite sin, agus chuir e fuidh cheann[d]
i, agus luidh e sìos 'san àite sin a cho-
dal.
12 Agus bhruadair e; agus feuch,
fàradh air a chur suas air an talamh,
agus a bhàrr[e] a' ruigheachd gu nèamh:
agus feuch, aingil De a' dol suas agus
a' teachd a nuas air.

13 Agus feuch, sheas an Tighearna
os a cheann, agus thubhairt e, 'S mis'
an Tighearna Dia Abrahaim t'athar,
agus Dia Isaaic: am fearann air am
bheil thu d' luidhe, bheir mise dhuit
e, agus do d' shliochd.
14 Agus bithidh do shliochd mar
dhuslach na talmhainn; agus sgaoilidh
tu mach a dh'ionnsuidh na h-àird' an
iar agus na h-àird' an ear, agus a
dh'ionnsuidh na h-àirde tuath agus na
h-àirde deas: agus beannaichear annad-
san uile theaghlaiche na talmhainn,
agus ann ad shliochdsa.
15 Agus feuch, *tha* mise maille riut,
agus gleidhidh mi thu anns gach àit' an
d'théid thu, agus bheir mi rìs thu
dh'ionnsuidh na tìre so; oir cha tréig
mi thu, gus an dean mi an *ni sin* a la-
bhair mi riut.
16 Agus dhùisg Iacob as a chodal,
agus thubhairt e, Gu cinnteach tha 'n
Tighearna 'san àite so, agus cha robh
fios agam *air*.
17 Agus bha eagal air, agus thu-
bhairt e, Cia h-uathbhasach[f] an
t-ionad[g] so! cha '*n àit'* air bith so ach
tigh Dhe, agus '*se* so geata nèimh.
18 Agus dh'éirich Iacob gu moch
'sa' mhadainn, agus ghabh e chlach a
chuir e fuidh cheann, agus chuir e suas
'na carradh[h] i, agus dhòirt e oladh air
a mullach.
19 Agus thug e Bet-el mar ainm air
an àite sin: ach *b' è* Luds ainm a'
bhaile sin air tùs.
20 Agus mhòidich Iacob mòid[k],
ag ràdh, Ma bhios Dia leam, agus
ma ghleidheas e mi air an t-slighe sin
air am bheil mi 'g imeachd[l], agus *ma*
bheir dhomh aran r'a itheadh, agus
eudach r'a chur umam;
21 Agus gu'n d'thig mi rìs 'an sìth
a dh'ionnsuidh tighe m'athar: 'an sin
bithidh'n Tighearn agam 'na Dhia
22 Agus bithidh a' chlach[m] so, a
chuir mi suas 'na carradh, 'na tigh aig
Dia: agus do gach *ni* a bheir thu
dhomh, bheir mi gu cinnteach an
deachamh dhuit.

CAIB.

[a] *a'd' iomadaigh phoibleach.* [b] *gu'n d'thug Iacob géill.* [c] *thàinig, theiring.* [d] *'na cluasaig.* [e] *cheann.* Eabh. [f] *eagalach, oillteil.* [g] *àite.* [h] *post*, *prop.* Sasg. [k] *bhòidich Iacob bòid.* [l] *triall.* [m] *a' chlach.*

CAIB. XXIX.

AN sin dh'imich Iacob air a thurus, agus chaidh e do dhùthaich dhaoine na h-àirde 'n ear.

2 Agus dh'amhairc e, agus feuch, tobar 'sa' mhachair, agus feuch, *bha* 'n sin tri treuda chaorach 'nan luidhe làimh ris; oir as an tobar sin thug iad uisge do na treudaibh: agus *bha* clach mhòr air beul an tobair.

3 Agus chruinnicheadh a dh'ionnsuidh sin na treudan uile; agus charuich[a] iad a' chlach bhàrr beoil[b] an tobair, agus thug iad uisge do na caoraich, agus chuir iad a' chlach a rìs air beul an tobair 'na h-àite féin.

4 Agus thubhairt Iacob riu, Mo bhràithre, cia as *a thàinig* sibh? Agus thubhairt iadsan, O Haran *thàinig* sinne.

5 Agus thubhairt e riu, An aithne dhuibh Laban mac Nahoir? 'Agus thubhairt iadsan, 'S aithne dhuinn.

6 Agus thubhairt e riu, Am *bheil* e gu math? Agus thubhairt iadsan, *Tha e* gu math: agus feuch, *a ta* Rachel a nighean a' tighinn leis na caoraich.

7 Agus thubhairt e, Feuch, *'se* fathast àird' an latha *a t' ann, agus* cha *d' thàinig idir* àm chruinneachadh na spréidh: thugaibhs' uisge do na caoraich, agus rachaibh *agus* inealtraibh *iad.*

8 Agus thubhairt iad, Cha 'n urradh sinn, gus an cruinnichear na treudan uile 'n ceann a chéile, agus *gus* an caruichear a' chlach bhàrr beoil an tobair; 'an sin bheir sinn uisge do na caoraich.

9 Agus am feadh a bha e fathast a' labhairt riu, thàinig Rachel le caoraich a h-athar; oir b'i *bha' gan* gleidheadh[c].

10 Agus 'nuair a chunnaic Iacob Rachel nighean Labain bràthair a mhàthar, agus caoraich Labain bràthar a mhàthar, 'an sin chaidh Iacob am fagus, agus charuich e chlach bhàrr beoil an tobair, agus thug e uisge do chaoraich Labain bràthar a mhàthar.

11 Agus phòg Iacob Rachel, agus thog e suas a ghuth, agus ghuil e.

12 Agus dh'innis Iacob do Rachel gu'*m b'e* bràthair a h-athar e, agus gu'*m b'e* mac Rebecah e: agus ruidh i, agus dh'innis i d'a h-athair.

13 Agus 'nuair a chuala Laban sgeula Iacoib *mhic a pheathar*, 'an sin ruidh e 'na choinneamh, agus ghabh e 'na ghlacaibh e, agus phòg se e, agus thug e d'a thigh e: agus dh'innis e do Laban na nithe sin uile.

14 Agus thubhairt Laban ris, Gu cinnteach 's tu mo chnàimh agus m' fheoil: agus dh'fhan e maille ris rè mios.

15 Agus thubhairt Laban re Iacob, A chionn gur tu mo bhràthair, am buin e dhuit seirbhisa dheanamh dhomh a nasgaidh? innis domh ciod e do thuarasdal[d].

16 Agus *bha* aig Laban dithis nigheana: *b'e* ainm na té bu shine Leah, agus ainm na té a b'òige Rachel.

17 Agus *bha* sùilean Leah anfhann, ach bha Rachel maiseach 'n*a* dealbh agus sgiamhach 'na gnùis[e].

18 Agus bha gràdh aig Iacob air Rachel, agus thubhairt e, Ni mi seirbhis dhuit seachd bliadhnan air son Racheil do nighinn a's òige.

19 Agus thubhairt Laban, '*S* fearr dhomh a toirt duitse na gu'n d'thugainn i do dhuine *'sam bith* eile: fan maille rium.

20 Agus rinn Iacob seirbhis air son Racheil seachd bliadhna: agus bha iad 'na shùilibh mar bheagan do laithibh[f], a thaobh a ghràidh a bh'aige oirre.

21 Agus thubhairt Iacob re Laban, Thoir *dhomh* mo bhean (oir choi'lionadh mo lài) a chum gu'n d'théid mi steach d'a h-ionnsuidh.

22 Agus chruinnich Laban cuideachd daoin' an àit' uile, agus rinn e cuirm.

23 Agus 'san fheasgar ghabh e Leah a nighean, agus thug e d'a ionnsuidh i; agus chaidh e steach d'a h-ionnsuidh.

24 Agus thug Laban d'a nighinn Leah Silpah a bhan-oglach féin, mar bhan-oglach.

25 Agus 'sa' mhadainn, feuch, *b'i* Leah *bh' ann:* agus thubhairt e re Laban, Ciod *e* so a rinn thu orm? Nach ann air son Racheil a rinn mi seirbhis dhuit? agus c'ar son a mheall thu mi?

26 Agus thubhairt Laban, Cha 'n fheud e bhi mar sin 'nar dùthaichne[g], an té a's oige thoirt seachad roimh 'n té a's sine[h].

[a] *choruich.* Eir. [b] *béil.* [c] *'g am biadhadh.* [d] *ciod an tuarasdal a bhios duit.* [e] *maiseach re amharc orra.* [f] *mar a' choi'-lion latha.* [g] *'nar n àite-ne.* [h] *roimh'n cheud-ghin.*

27 Coimh-lion a ſeachduinſa, agus bheir ſinn dhuit iſe mar an ceudna, air ſon na ſeirbhis a ni thu maille rium fathaſt *rè ſheachd* bliadhn' eile.

28 Agus rinn Iacob mar ſin, agus choi'-lion e a ſeachduin, agus thug e dha Rachel a nighean mar an ceudna 'na mnaoi.

29 Agus thug Laban do Rachel a nighean Bilhah a bhan-oglach féin, dh'iſe mar bhan-oglaich.

30 Agus chaidh e ſteach cuideachd a dh'ionnſuidh Racheil, agus ghràdhaich e mar an ceudna Rachel ni's mò na Leah, agus rinn e ſeirbhis maille ris fathaſt ſeachd bliadhn' eile.

31 Agus 'nuair a chunnaic an Tighearna gu'n d'thugadh fuath do Leah, dh'fhoſgail è a bolg: ach *bha* Rachel gun chlann [a].

32 Agus dh'fhàs Leah torrach, agus rug i mac, agus thug i Reuben mar ainm air: oir thubhairt i, Gu deimhin dh'amhairc an Tighearn air m' àmhghar [b], a nis uime ſin gràdhaichidh m'fhear mi.

33 Agus dh'fhàs i torrach a ris, agus rug i mac, agus thubhairt i, A chionn gu'n cuala 'n Tighearna gu'n *robh* mi air m'fhuathachadh, uime ſin thug e domh *am mac* ſo cuideachd; agus thug i Simeon mar ainm air.

34 Agus dh'fhàs i torrach a ris, agus rug i mac; agus thubhairt i, A nis aims an uair ſo dlù'-leanaidh m'fhear rium, do bhri' gu'n d'rug mi dha triuir mhac: uime ſin thug i Lebhi mar ainm air.

35 Agus dh'fhàs i torrach a ris, agus rug i mac; agus thubhairt i, A nis molaidh mi'n Tighearna: uime ſin thug i Iudah mar ainm air. Agus ſguir i breith *cloinne*.

C A I B. XXX.

AGUS 'nuair a chunnaic Rachel nach d'rug i *clann* do Iacob, bha farmad aig Rachel r'a piuthair, agus thubhairt i re Iacob, Thoir dhomh clann, no gheibh mi bàs.

2 Agus las corruich Iacoib re Rachel, agus thubhairt e, Am bheil miſe 'n àite Dhé, a chum nait toradh na bronn?

3 Agus thubhairt i, Feuch, mo bhan-oglach Bilhah, theirig [c] a ſteach d'a h-ionnſuidh, agus beiridh ſi air mo ghlùinibh, agus bithidh agam-ſa mar an ceudna clann d'a trìd-ſa.

4 Agus thug i dha Bilhah a banoglach mar mhnaoi; agus chaidh Iacob a ſteach d'a h-ionnſuidh.

5 Agus dh'fhàs Bilhah torrach, agus rug i mac do Iacob

6 Agus thubhairt Rachel, Thug Dia breth orm, agus dh'éiſd e mar an ceudna re m' ghuth, agus thug e dhomh mac: uime ſin thug i Dan mar ainm air.

7 Agus dh'fhàs Bilhah ban-oglach Racheil torrach a rìs, agus rug i do Iacob an dara mac [d].

8 Agus thubhairt Rachel, Le mòr ghleachda ghleachd mi re m' phiuthair, agus thug mi buaidh, agus thug i Naphtali mar ainm air.

9 'Nuair a chunnaic Leah gu'n do ſguir i bhreith *cloinne*, ghabh i Silpah a ban-oglach, agus thug i do Iacob mar mhnaoi-i.

10 Agus rug Silpah ban-oglach Leah mac do Iacob.

11 Agus thubhairt Leah, Tha fonas [e] air teachd: agus thug i Gad mar ainm air.

12 Agus rug Silpah, ban-oglach Leah, an dara mac do Iacob.

13 Agus thubhairt Leah, Is ſona mi, oir goiridh na nigheanna miſe beannaichte: agus thug i Aſer mar ainm air.

14 Agus chaidh Reuben *a mach* ann an laithibh fogharaidh a'chruithneachd, agus fhuair e mandraga [f] 'ſa' mhachair, agus thug e iad a chum a mhàthar Leah. 'An ſin thubhairt Rachel re Leah, Thoir dhomh, guidheam ort, *cuid* do mhandragaibh do mhic.

15 Agus thubhairt i ria, Am beag a'chùis gu'n d'thug thu m'fhear uam, agus am b'àill leat mandraga mo mhic a thoirt leat mar an ceudna? Agus thubhairt Rachel, Uime ſin luidhidh e leats' an nochd air ſon mandraga do mhic.

16 Agus thàinig Iacob o'n mhachair 'ſan fheaſgar, agus chaidh Leah mach 'na choinneamh, agus thubhairt

 i, Thig

[a] *neo-thorrach.* [b] *mo thrioblaid, m' an-ſhocair.* [c] *rach, gabh.* [d] *mac eile.* [e] *buidheann, guidealbh.* [f] *ùbhla beaga cùbhraidh agus blaſ a bha fàs ann an Siria agus Iudea.*

i, Thig thu ſteach a m' ionnſuidhs',
oir gu deimhin cheannaich [a] mi thu le
mandragaibh mo mhic: Agus luidh e
leatha air an oidhche ſin.
17 Agus dh'éiſd Dia re Leah, agus
dh'fhàs i torrach, agus rug i do Iacob
an cùigeadh mac.
18 Agus thubhairt Leah, Thug Dia
dhomh mo dhuais, a chionn gu'n d'thug
mi mo bhan-oglach do m'fhear: agus
thug i Iſachar mar ainm air.
19 Agus dh'fhàs Leah torrach a rìs,
agus rug i do Iacob an ſeathadh mac.
20 Agus thubhairt Leah, Dheònaich
Dia dhomh deagh chuibhrionn [b]: a
nis gabhaidh m'fhear còmhnuidh
maille rium, a chionn gu'n d'rug mi
dha ſèathnar mhac; agus thug i
Sebulun mar ainm air.
21 Agus 'na dhéigh ſin rug i nighean,
agus thug i Dinah mar ainm oirre.
22 Agus chuimhnich Dia air Rà-
chel, agus dh'éiſd Dia ria, agus
dh'fhoſgail e a bolg.
23 Agus dh'fhàs i torrach, agus rug
i mac; agus thubhairt i, Thug Dia
air falbh mo mhi-chliu.
24 Agus thug i Ioſeph mar ainm
air, ag radh, Bheir an Tighearna
dhomh fathaſt mac eile.
25 Agus 'nuair a rug Rachel Ioſeph,
'an ſin thubhairt Iacob re Laban,
Leig air falbh mi, chum gu 'n d'théid
mi do m'àite, agus do m'dhùthaich féin.
26 Thoir *dhomh* mo mhnài, agus mo
chlann, air ſon an d'rinn mi ſeirbhis
duit, agus gu'm falbh mi: oir is aithne
dhuit mo ſheirbhis a rinn mi dhuit.
27 Agus thubhairt Laban ris,
Guidheam ort, ma fhuair mi deagh-
ghean a'd' ſhùilibh, *fuirich*: oir dh'-
fhòghluim mi o m' fhioſrachadh féin
gu'n do bheannaich an Tighearna mi
air do ſgàth-ſa.
28 Agus thubhairt e, Ainmich do
thuaraſdal dhomh, agus bheir mi dhuit *e*.
29 Agus thubhairt e ris, Tha fios
agad cionnus a rinn mi ſeirbhis dhuit,
agus cionnus a bha do ſpréidh agam:
30 Oir *is* beag a bh'agad mun *d'
thàinig* mi, agus *a nis* tha e air fàs 'na
mhòran; agus bheannaich Dia thu 'an
lorg mo *theachdſa*: agus a nis c'uin a
ni mi mar an ceudna air ſon mo thighe
féin?
31 Agus thubhairt e, Ciod a bheir
mi dhuit? Agus thubhairt Iacob, Cha
d'thoir thu ni ſam bith dhomh: ma ni
thu'n ni ſo riumr, ionaltraidh mi ris,
agus gleidhidh mi do threud.
32 Théid miſe tre o threud uile 'n
diugh, ag atharrachadh as ſin gach
ſpréidh a ta breac agus ballach, agus
gach ſpréidh a ta dubh-dhonn [d] a' meaſg
nan caorach, agus ballach, agus breac a'
meaſg nan ghabhar: agus '*se ſo* mo
thuaraſdal.
33 Agus freagraidh air mo ſhonſa
m'ionracas 'ſan àm re teachd [e], 'nuair
a thig e mar mo thuaraſdal a'd' là-
thair-ſa: gach aon nach *bi* breac agus
ballach a' meaſg nan gabhar, agus
dubh-dhonn a' meaſg nan caorach,
meaſar e mar ni bradach agam-ſa.
34 Agus thubhairt Laban, Feuch,
b'fhearr leam gu'm bitheadh e réir
t'fhocail.
35 Agus dh'atharraich e air an là
ſin féin na gabhair fhirionn a bha
ſtiallach agus ballach, agus na gabhair
bhainionn uile a bha breac agus bal-
lach, *agus* gach aon air an robh gile,
agus gach aon a bha dubh-dhonn [e] a'
meaſg nan caorach, agus thug e *iad* do
làmhan a mhac.
36 Agus chuir e aſtar thri lathan
eadar e féin agus Iacob: agus bhea-
thaich [f] Iacob a'chuid eile do threu-
daibh Labain.
37 Agus ghabh Iacob dha féin ſlatan
glaſa do'n chritheach, agus do'n chall-
dainn, agus do chraoibh nan geanm-
chnò; agus rùiſg e annta ſtialla geala,
agus leig e ris an geal a *bha* 'ſna
ſlataibh.
38 Agus chuir e na ſlatan a rùiſg e
anns na claiſibh, anns na h-amair uiſge,
far [g] an d'thàinig na treudan a dh'òl,
fa chomhair nan treud, chum as gu'm
fàſadh iad torrach 'nuair a thigeadh
iad a dh'òl.
39 Agus dh'fhàs na treudan torrach
fa chomhair nan ſlat, agus rug iad
ſpréidh ſtiallach, bhreac agus bhallach.
40 Agus thearbaidh Iacob na h-uain,
agus chuir e aghaidh nan treud riuſan
a bha ſtiallach, agus gach *beothach a
bha* dubh-dhonn ann an treudaibh La-
bain, agus chuir e threudan féin air
leth

[a] *thuaraſdaluich.* [b] *Dheònaich Dia dhomh aſaid ſhona.* [c] *air an là màireach,*
Eabh [d] *'nuair a thig thu air mo thuaraſdal.* [e] *ciar.* [f] *dh'ionaltair.* [g] *'nuair
a thàinig.*

[illegible] agus cha do chuir e iad làimh re [illegible]bh Laban.
[illegible] Agus ge b'e uair a dh'fhàs an [illegible] bu *treise* torrach, chuir Iacob [illegible] *fa chomhair* fùl na spréidh [illegible] claisibh, chum gu'm fàsadh [illegible]ach a réir nan slat [a].
[illegible] Ach 'nuair a bha'n spréidh [illegible], cha do chuir e ann *iad*: mar [illegible] Laban iadsan a b'anfhainne, [illegible] Iacob iadsan bu treise.
[illegible] Agus dh'fhàs an duine ro-[illegible] agus bha mòran spréidh aige, [illegible]-oglaich, agus òglaich, agus [illegible] agus asail.

C A I B. XXXI.

A [illegible] chual e briathra mhac Laban, ag ràdh, Thug Iacob leis [illegible] aig ar n-athair, agus o'n *ni* [illegible] ar n-athair-ne fhuair e dha [illegible] mhorachd so uile.

2 Agus chunnaic Iacob gnùis Labain, agus feuch, cha *robh* i leis mar *a bha* i roimhe sin [b].

3 Agus thubhairt an Tighearna re Iacob, Pill gu dùthaich t'athracha agus a dh'ionnsuidh do dhìlsean, agus bithidh mise maille riut.

4 Agus chuir Iacob *teachdaire* uaith agus ghairm e Rachel agus Leah do'n mhachair a dh'ionnsuidh a threud.

5 Agus thubhairt e riu, Tha mi faicinn gnùis bhur n-athar, nach *'eil* i leam mar *a bha i* roimhe: ach bha Dia m'athar maille rium-sa.

6 Agus tha fios agaibh féin le m'uile dhichioll gu'n d'rinn mi seirbhis d'ar n-athair.

7 Gidheadh mheall bhur n-athair mi, agus mhùth [c] e mo thuarasdal deich uairean: ach cha do leig Dia leis cron a dheanamh orm.

8 Ma thubhairt e mar so, Bithidh an *spréidh* bhreac 'nan tuarasdal agad, 'an sin rug an spréidh uile *àl* breac: agus ma thubhairt e mar so, Bithidh an *spréidh* stiallach 'nan tuarasdal agad, 'an sin rug an *spréidh* uile *àl* stiallach.

9 Mar so thug Dia air falbh spréidh bhur n-athar, agus thug e dhoms' *iad*.

10 Agus 'nuair a dh'fhàs an spréidh torrach, thog mi suas mo shùilean, agus chunnaic mi ann an aisling, agus feuch, *bha* na reithean a bha reitheadh na spréidhe [d], stiallach, breac agus gris-fhionn.

11 Agus thubhairt aingeal an Tighearna rium ann an aisling, A Iacoib: agus thubhairt mise, *Tha* mi 'n so.

12 Agus thubhairt esan, Tog suas a nis do shùilean, agus faic na reithean uile, tha reitheadh na spréidhe *gu bheil iad* stiallach, breac agus gris-fhionn: oir chunnaic mise gach ni a rinn Laban ort.

13 *'S* mise Dia Bheteil, far an d'ung thu 'n carragh, far an do bhòidich thu dhomh-sa bòid: a nis éirich, imich a mach as an tìr so, agus pill gu tìr do dhìlsean.

14 Agus fhreagair Rachel agus Leah, agus thubhairt iad ris, Am bheil fathast cuibhrionn no oighreachd air bith againne ann an tigh ar n-athar?

15 Nach 'eil sinn air ar meas leis mar choigrich? oir reic e sinn, agus [illegible] e mar an ceudna gu tur ar n-airgiod:

16 Oir an saibhreas *sin* uile a thug Dia o'r n-athair, 's leinn féin, agus le'r cloinn e: nis uime sin gach ni thubhairt Dia riutsa, dean e.

17 'An sin dh'éirich Iacob suas agus chuir e mhic agus a mhnài air càmhalaibh.

18 Agus thug e leis a spréidh uile, agus a mhaoin uile a fhuair e, spréidh a chosnaidh, a fhuair e'm Padan-aram, gu dol a dh'ionnsuidh Isaaic athar gu tìr Chanaain.

19 Agus chaidh Laban a lomairt [e] a chaorach; agus ghoid Rachel na dealbhan [f] *bu* le h-athair.

20 Agus ghoid Iacob air falbh gun fhios do Laban an Sirianach, a chionn nach d'innis e dha gu'*n robh* e *gu* teicheadh.

21 Agus theich e leis gach ni bh' aige; agus dh'éirich e suas, agus chaidh e thar an abhainn, agus chuir e aghaidh *re* sliabh Ghilead.

22 Agus dh'innseadh do Laban air an treas *là* gu'n do theich Iacob.

23 Agus thug e bhràithre leis, agus lean se e astar sheachd laithean, agus rug e air ann an sliabh Ghilead.

24 Agus thàinig Dia gu Laban an Sirianach ann an aisling 'san oidhche, agus thubhairt e ris, Thoir an aire nach labhair thu re Iacob aon chuid 'math no olc.

[a] *am measg nan slat.* [b] *'n dé 's air a bhò 'n dé.* Eabh. [c] *dh'atharraich.* [d] *leum air an spréidh.* [e] *a rùsgadh.* [f] *iombaighean.*

25 'An ſin rug Laban air Iacob.
A nis ſhuidhich Iacob a bhùth 'ſan
t-ſliabh, agus ſhuidhich Laban maille
r'a bhràithribh ann an ſliabh Ghilead.
26 Agus thubhairt Laban re Iacob,
Ciod ſ rinn thu, gu'n do ghoid thu
air falbh gun fhios domh, agus gu'n
d'thug thu leat mo nigheana, mar
bhraighdean[a] *a thugadh a mach* leis
a'chloidheamh?
27 C'ar ſon a theich thu air falbh
gu h-uaigneach, agus a ghoid thu
uam, agus nach d'innis thu dhomh, a-
gus gu'n cuirinn air falbh thu le
ſubhachas, agus le h-òranaibh, le
tiompan, agus le clàrſaich?
28 Agus nach do leig leam mo
mhic agus mo nigheana a phògadh?
a nis is amaideach a fhuara tu le *ſo* a
dheanamh,
29 Bha e 'n comas mo làimhſa cron
a dheanamh ort: ach labhair Dia
t'athar rium an reidhr, ag ràdh, Thoir
an aire, nach labhair thu re Iacob aon
chuid math no olc
30 Agus a nis, ge do b'éigin duit
falbh, a chionn gu'n robh thu gu ro
mhòr 'an geall air tigh t'athar, *gidheadh*
c'ar ſon a ghoid thu mo dhée?
31 Agus fhreagair Iacob agus
thubhairt e re Laban, A chionn gu'n
robh eagal orm: oir thubhairt mi,
Theagamh gu'n d'thugadh tu uam do
nigheana le h-ainneart.
32 Ge b'e neach aig am faigh thu
do dhée, na maireadh e beo: 'an là-
thair ar bràithre faic ciod a th' agam
a bhuineas duit agus gabh thugad[b] *e*:
oir cha robh fhios aig Iacob gu'n do
ghoid Rachel iad
33 Agus chaidh Laban a ſteach do
bhùth Iacoib, agus do bhùth Leah, agus
do bhùth an dà bhan-oglaich; ach cha
d'fhuair e *iad* 'An ſin chaidh e mach
a bùth Leah, agus chaidh e ſteach do
bhùth Rachel
34 A nis ghoid Rachel na dealbhan,
agus chuir i iad ann an acfuinn[c] a'
chàmhail, agus ſhuidh i orra: agus
rannſaich Laban am bùth uile, ach
cha d'fhuair e *iad*.
35 Agus thubhairt i r'a h-athair,
Na cuireadh e corruich air mo thi-
ghearna nach urradh mi éirigh ſuas
a't' fhianais, oir *tha* orm a réir gnàth
nam ban: agus rannſaich e, ach cha
d'fhuair e na dealbhan.
36 Agus bha fearg air Iacob, agus
throid e re Laban: agus fhreagair
Iacob, agus thubhairt e re Laban,
Ciod i mo choire, agus ciod e mo
pheacadh, gu'n robh thu co-dian air
mo thòir.
37 'An déigh dhuit m'airneis uile
a rannſachadh, ciod a fhuair thu
dh'uile airneis do thighe? cuir 'an ſo
e 'n làthair mo bhràithre-ſa agus do
bhràithre féin, agus gu'n d'thoir iad
breth eadarainn 'nar dithis.
38 A nis fichead bliadhna *bha* mi
maille riut; cha do thilg do chaoraich
an uain, no do ghabhair am minn, a-
gus reitheachan do threud cha d'ith mi.
39 An ni ſin a reubadh *le fiadh-
bheathaichibh* cha d'thug mi a't' ionn-
ſuidh; ghiùlain mi féin a chall: o
m' làimh-ſa dh'iarr thu e, *co ac'* a
ghoideadh e 'ſan latha, no ghoideadh
e 'ſan oidhche.
40 *Mar ſo* bha mi, 'ſan là chlaoidh
an teas mi, agus an reotha 'ſan
oidhche; agus dhealaich mo chodal
re m' ſhùilibh.
41 Mar ſo *bha* mi fichead bliadhna
a'd' thigh; ceithir bliadhna deug rinn
mi ſeirbhis duit air ſon do dhithis ni-
gheana, agus ſè bliadhna air ſon do
ſpréidhe: agus mhùth thu mo thuaraſ-
dal deich uairean.
42 Mur bhitheadh gu'n robh Dia
m'athar, Dia Abrahaim, agus eagal
Iſaaic maille rium, gu cinnteach chuir-
eadh tu nis air falbh mi falamh: chun-
naic Dia m'àmhghar agus ſaothair mo
làmh, agus chronaich e thu 'n reidhr.
43 Agus fhreagair Laban, agus
thubhairt e re Iacob, Na h-ingheana
ſo 's *iad* mo nigheana ſa iad, agus a'
chlann *ſo* mo chlann-ſa, agus an ſpréidh
ſo mo ſpréidh-ſa, agus gach ni *tha* thu
faicinn is leamſa e: agus ciod a
dh'fheudas mi dheanamh an diugh re
m'nigheanaibh ſo, no r'an cloinn a rug
iad?
44 A nis uime ſin thig-ſa, deanam-
aid coi'-cheangal miſe agus thuſa; a-
gus bitheadh e mar fhianuis eadar
miſe agus thuſa.
45 Agus ghabh Iacob clach, agus
chuir e ſuas i mar charragh. 46

[a] *claimaibh.* [b] *chugad.* [c] *ſaſoir, uigheam.*

46 Agus thubhairt Iacob r'a bhràithrean, Cruinnichibh clachan: agus ghabh iad clachan, agus rinn iad carn, agus dh'ith iad 'an *sin* air a' charn.

47 Agus thug Laban mar ainm air Iegar-sahadata: ach thug Iacob mar ainm air Galeed.

48 Agus thubhairt Laban, *Tha* 'n carn so 'na fhianuis eadar mise agus thusa 'n *diugh*. Uime sin thugadh Galeed mar ainm air,

49 Agus Midspah; oir thubhairt e, Deanadh an Tighearna faire eadar mise agus thusa, 'nuair a bhitheas sinn as làthair a chéile.

50 Ma bhuineas tu gu cruaidh re m' nigheanaibh, no ma ghabhas tu mnài *eile* thuilleadh air mo nigheana-sa, cha'*n* '*eil* duine sam bith maille ruinn; seuch, tha Dia 'na fhianuis eadar mis' agus thusa.

51 Agus thubhairt Laban re Iacob, Faic an carn so, agus faic an carragh *so*, a shuidhich mi eadar mis' agus thusa.

52 *Bitheadh* an carn so 'na fhianuis, agus *bitheadh* an carragh *so* 'na fhianuis, nach d'théid mise a t'ionnsuidh-sa thar a'charn so, agus nach d'thig thus' a m' ionnsuidh-sa thar a' charn so, agus a charragh so, gu cron.

53 Gu'n d'thugadh Dia Abrahaim, agus Dia Nahoir, Dia an athar, breth eadaruinn. Agus mhionnaich Iacob air eagal athar Isaaic.

54 'An sin thug Iacob suas iobairtean 'san t-sliabh, agus ghairm e air a bhràithribh a dh'itheadh arain: agus dh'ith iad aran, agus dh'fhan iad rè na h-oidhche 'san t-sliabh.

55 Agus dh'éirich Laban suas moch 'sa' mhadainn, agus phog e mhic agus a nigheana, agus bheannaich e iad, agus dh'fhalbh e: agus phill Laban g'a àite féin.

C A I B. XXXII.

AGUS dh'imich Iacob air a shlighe, agus choinnich aingil Dhé e.

2 Agus thubhairt Iacob, 'nuair a chunnaic e iad, '*Se* so feachd Dhé: agus thug e Mahanaim mar ainm air an àite sin.

3 Agus chuir Iacob teachdairean roimhe gu h-Esau a bhràthair, gu fearann Sheir, dùthaich Edoim.

4 Agus dh'àithn e dhoibh, ag ràdh, Mar so their sibh re m' thighearn Esau, Mar so thubhairt do sheirbhiseach Iacob, Bha mi air chuairt maille re Laban, agus dh'fhan mi *maille ris* gus a nis.

5 Agus tha agam buar, agus asail, treudan, agus òglaich, agus ban-oglaich: agus chuir mi dhinnseadh do m' thighearna, chum gu'm faighinn deagh-ghean a'd' shùilibh.

6 Agus phill na teachdairean gu Iacob, ag ràdh, Thàinig sinn a dh'ionnsuidh do bhràthar Esau, agus mar an ceudna tha e teachd a'd' chòdhail, agus ceithir cheud fear maille ris.

7 Agus bha Iacob fa eagal mòr, agus ann an airc; agus roinn e'n sluagh a *bha* maille ris, agus na treudan, agus 'an crodh, agus na càmhail 'nan dà bhuidhinn;

8 Agus thubhairt e, Ma thig Esau gu h-aon do na buidhnibh, agus gu'm buail e i, 'an sin théid a bhuidheann a dh'fhanas as *uaith*.

9 Agus thubhairt Iacob, O Dhé m'athar Abrahaim, agus a Dhé m'athar Isaaic, a Thighearn a thubhairt rium, Pill gu d'dhùthaich, agus gu d' dhilsean, agus ni mi math dhuit:

10 Cha 'n airidh mi air a' chuid a's lugha do na tròcairibh *sin* uile, no do'n fhìrinn *sin* uile, a nochd thu do d'sheirbhiseach: oir le m' luirg thàinig mi thar an Iordan so; agus tha mi nis a'm' dhà bhuidhinn.

11 Saor mi, guidheam ort, o làimh mo bhràthar, o làimh Esau: oir tha eagal orm roimhe, gu'n d'thig e, agus gu'm buail e mi, *agus* a' mhàthair maille ris a chloinn.

12 Agus thubhairt thu, Gu cinnteach ni mi math dhuit, agus ni mi do shliochd mar ghaineamh na fairge, nach feudar àireamh a thaobh lionmhoireachd.

13 Agus dh'fhan e 'n sin 'san oidhche sin féin, agus ghabh e do na thàinig g'a làimh tiodhlac air son Esau a bhràthar;

14 Dà cheud gabhar agus fichead boc, dà cheud caora agus fichead reithe;

15 Deich càmhail fhichead bhainne le 'n searraich, dà fhichead bò agus deich tairbh, fichead asal bhainionn agus deich searraich.

16 Agus thug e *iad* do làimh a sheirbhiseach,

ſheirbhiſeach, gach iomain leatha féin; agus thubhairt e r'a ſheirbhiſich, Imichibh romham, agus cuiribh dealachadh eadar iomain agus iomain.

17 Agus dh'àithn e dha-ſan a bh'air thoiſeach ag ràdh, 'Nuair a choinnicheas mo bhràthair Eſau thu, agus a dh'fheòraicheas e dhiot, ag ràdh, Co leis thu, agus c'àite tha thu dol, agus co leis iad ſin *a tha* romhad?

18 'An ſin their thuſa, *Buinidh iad* do d'ſheirbhiſeach Iacob; *is* tiodhlac a th'ann, a chuireadh a dh'ionnſuidh mo thighearn Eſau: agus feuch, mar an ceudna *tha* e féin 'nar déigh.

19 Agus dh'àithn e mar ſin do'n dara *ſeirbhiſeach*, agus do'n treas, agus dhoibhſan uile bha leantuinn nan iomaine, ag radh, Air an dòigh ſo labhraidh ſibh re h-Eſau, 'nuair a gheibh ſibh e.

20 Agus their ſibh cuideachd, Feuch, *Tha* do ſheirbhiſeach Iacob 'nar déigh-ne: oir thubhairt e, Ni mi réidh [a] e leis an tiodhlac a théid romham, agus 'an déigh ſin chi mi ghnùis: theagamh gu'n gabh e rium.

21 Mar ſin chaidh an tiodhlac thairis roimhe: agus dh'fhan e féin an oidhche ſin 'sa' chuideachd.

22 Agus dh'éirich e ſuas 'ſan oidhche ſin, agus ghabh e dhà mhnaoi, agus a dhà bhan-oglaich, agus aon mhac deug, agus chaidh e thairis air àth Iaboic.

23 Agus ghabh e iad, agus chuir é thairis air an t-ſruth iad, agus chuir e thairis na *bh*'aige.

24 Agus dh'fhan Iacob 'na aonar; agus ghleachd duine ris, gu nuig briſeadh na fàire.

25 Agus 'nuair a chunnaic e nach do bhuadhaich e air, 'an ſin bhean e re lag a ſhléiſde; agus chaidh lag ſléiſde Iacoib as an alt 'nuair a bha e gleachdadh [b] ris.

26 Agus thubhairt e, Leig air falbh mi, oir Cha'n fhàir a' briſeadh: agus thubhairt eſan, Cha leig mi air falbh thu mur beannaich thu mi.

27 Agus thubhairt e ris, Ciod *a's* ainm dhuit? agus thubhairt e, Iacob.

28 Agus thubhairt eſan, Cha ghoirear [c] Iacob ni's mò riut mar ainm, ach Iſrael: oir bha cumhachd agad mar uachdaran re Dia, agus re daoine, agus thug thu buaidh.

29 Agus dh'fhiofraich Iacob dheth, agus thubhairt e, Innis *dhomh*, guidheam ort, t'ainm: agus thubhairt eſan, C'ar ſon a tha thu farraid m'ainme. Agus bheannaich e 'n ſin e.

30 Agus thug Iacob Peniel mar ainm air an àite: oir chunnaic mi Dia aghaidh re h-aghaidh, agus thearnadh m' anam.

31 Agus dh'éirich a' ghrian air, 'nuair a chaidh e ſeach Penuel, agus *bha* e bacach air a ſhliaſaid.

32 Uime ſin cha'n ith clann Iſrael do'n fhéith a chrup, a ta air lag na ſléiſde, gus an la'n diugh: a chionn gu'n do bhean e re lag ſléiſde Iacoib 'ſan fhéith a chrup.

CAIB. XXXIII.

AGUS thog Iacob ſuas a ſhùilean, agus dh'amhairc e, agus feuch, *bha* Eſau teachd, agus maille ris ceithir cheud fear. Agus roinn e a' chlann do Leah, agus do Rachel, agus do'n dà bhan-oglaich.

2 Agus chuir e na ban-oglaich agus an clann air thoiſeach, agus Leah agus a clann 'nan déigh, agus Rachel agus Ioſeph air dheireadh.

3 Agus chaidh e féin air aghaidh rompa, agus chrom ſe e féin gu làr ſeachd uaire, gus an d'thàinig e dlùth d'a bhràthair.

4 Agus ruith Eſau 'na choinneamh, agus ghabh e 'na ghlacaibh e, agus thuit e air a mhuineal, agus phòg ſe e: agus ghuil iad.

5 Agus thog e ſuas a ſhùilean, agus chunnaic e na mnài agus a' chlann; agus thubhairt e, Co iad ſin *a ta* maille riut? agus thubhairt eſan, A' chlann a thug Dia gu gràſmhor do d'ſheirbhiſeach.

6 'An ſin thàinig na ban-oglaich am fagus, iad féin agus an clann, agus chrom ſiad iad féin.

7 Agus thàinig Leah cuideachd am fagus maille r'a cloinn, agus chrom ſiad iad féin; agus 'an déigh ſin thainig Ioſeph am fagus agus Rachel, agus chrom ſiad iad féin.

[a] *tiuin.* [b] *ag ſpairn.* [c] *cha'n abrar.*

8 Agus thubhairt e, Ciod *a's ciall*
dhuit-s an iomain so uile, a choinnich
mi? Agus thubhairt *esan*, Gu deagh-
ghean *fhaghail* ann an sùilibh mo
thighearna.
9 Agus thubhairt Esau, Tha agam-
sa pailteas, a bhrathair; gléidh dhuit
féin na bheil agad.
10 Agus thubhairt Iacob, Ni h-eadh,
guidheam ort, ma fhuair mi nis deagh-
ghean a'd' shùilibh, 'an sin gabh mo
thiodhlac o m' làimh: oir uime sin
chunnaic mi do ghnùis, mar gu'm faic-
inn gnùis Dé, agus thaitinn mi riut.
11 Gabh, guidheam ort, mo bhean-
nachadh a thugadh a d' ionnsuidh, do
bhrigh gu'n do bhuin Dia gu toir-
bheartach rium, agus gu bheil agam
mòr-phailteas: agus rinn e ro-earail
air, agus ghabh se *e*.
12 Agus thubhairt e, Gabhamaid
ar turus, agus biomaid ag imeachd, a-
gus théid mise maille riut [a].
13 Agus thubhairt e ris, Tha fios
aig mo thighearna gu *bheil* a' chlann
maoth, agus na treudan agus an sheu-
dail *a ta* maille rium, trom le h àl;
agus mu dh'iomainear iad gu dian aon
latha, gheibh an treud uile bàs.
14 Rachadh, guidheam ort, mo
thighearna seachad roimh a sheirbhis-
each: agus gabhaidh mise an t-slighe
gu socrach, a réir mar a bhios an
spréidh a *ta* romham, agus a' chlann,
comasach air fhulang, gus an d'thig
mi dh'ionnsuidh mo thighearna gu
Seir.
15 Agus thubhairt Esau, Leig leam
a nis *cuid* do'n mhuinntir a *ta* maille
rium fhàgail marriut [b]: Agus thubh-
airt esan, C'ar son sin? faigheam-sa
deagh-ghean 'an sùilibh mo thigh-
earna.
16 Mar sin phill Esau 'san là sin
féin air a shlighe gu Seir.
17 Agus dh'imich Iacob gu Sucot,
agus thog e dha féin tigh, agus rinn e
bothain d'a spréidh: air an aobhar sin
thugadh Sucot mar ainm air an àite.
18 Agus thàinig Iacob do Shalem,
baile Shecheim a *ta* ann an tìr Cha-
naain, 'nuair a thàinig e o Phadan-
aram; agus shuidhich e bhùth fa
chomhair a' bhaile.
19 Agus cheannaich e mìr fear-
ainn, far an do shuidhich [c] e a bhùth,
o làimh chloinne Hamoir athar She-
cheim, air cheud bonn airgid [d].
20 Agus chuir e suas altair 'an sin,
agus thug e El-Elohe-Israel mar ainm
oirre.

C A I B XXXIV.

AGUS chaidh Dinah nighean
Leah, a rug i do Iacob, a mach
a dh'fhaicinn nigheana na tìre.
2 Agus 'nuair a chunnaic Sechem
mac Hamoir an Ibhich, uachdaran na
tìre i, ghabh e i, agus luidh e leatha,
agus thruaill e i [e].
3 Agus dhlù-lean anam re Dinah
nighean Iacoib, agus ghràdhaich e a'
ghruagach [f], agus labhair e gu caomh
ris a' ghruagaich.
4 Agus labhair Sechem re Hamor
athair, ag ràdh, Faigh dhomhs' a'
ghruagach so mar mhnaoi
5 Agus chuala Iacob gu'n do thru-
aill e Dinah a nighean, (Nis bha mhic
maille r'a spréidh 'sa' mhachair) agus
bha Iacob 'na thosd gus an d'thàinig
iad.
6 Agus chaidh Hamor athair She-
cheim a mach a dh'ionnsuidh Iacoib,
a labhairt ris.
7 Agus thàinig mic Iacoib o'n
mhachair 'nuair a chual' iad *e*, agus
bha na daoine doilich, agus bha fearg
mhòr orra; chionn gu'n d'rinn e a-
maideachd ann an Israel, ann an
luidhe le nighean Iacoib, ni nach bu
chòir a dheanamh.
8 Agus labhair Hamor riu, ag
ràdh, Tha anam mo mhic Shecheim
'an ro-gheall air bhur nighinn: thu-
gaibh i, guidheam oirbh, dha mar
mhnaoi.
9 Agus deanaibh ceanglaiche-pò-
saidh [g] ruinne; bhur nigheana-sa thu-
gaibh dhuinne, agus ar nigheana-ne
gabhaidh sibh dhuibhsa.
10 Agus maille ruinne gabhaidh
sibh comhnuidh: agus bithidh an tìr
romhaibh; gabhaibh còmhnuidh, agus
deanaibh ceic agus ceannachd innte,
agus faighibh sealbh innte.
11 Agus thubhairt Sechem r'a
h-athair, agus r'a bràithribh, Faigh-
eam deagh-ghean 'nar sùilibh; agus
ge

[a] *romhad* [b] *maille riut, agad.* [c] *sgaoil.* [d] *cheud uan.*
[e] *dh'islich se i.* [f] *an nigheanag.* [g] *cleamhnas.*

gu b'e ni a their sibh rium, bheir mi
dhuibh.
12 Air mheud 's gu'n dean sibh an
dubharaidh [a] orm, agus an tiodhlac,
bheir mi dhuibh eadhon mar a their
sibh rium: a mhàin thugaibh dhomh
a' ghruagach mar mhnaoi.
13 Agus fhreagair mic Iacoib Se-
chem agus Hamor athair le ceilg, a-
gus labhair iad (a chionn gu'n do
thruaill e Dinah am piuthar)
14 Agus thubhairt iad riu, Cha 'n
fheud sinne an ni so dheanamh, ar
piùthar a thoirt do dhuine neo-thim-
chioll-ghearrt': oir bhiodh sin 'na
mhasladh dhuinne.
15 Ach 'an so aontaichidh sinn
leibh; ma bhios sibhse mar *a ta* sinne,
gu'n timchioll-ghearrar gach firion-
nach 'nar measg;
16 'An sin bheir sinne ar nigheana
dhuibhsa, agus bhur nigheana-sa ga-
bhaidh sinn dhuinne, agus gabhaidh
sinn còmhnuidh maille ribh, agus bi-
thidh sinn 'nar n-aon sluagh.
17 Ach mur éisd sibh ruinne, *sibh*
a bhi air bhur timchioll-ghearradh;
'an sin gabhaidh sinne ar nighean,
agus falbhaidh sinn.
18 Agus thaitinn am briathra re
Hamor, agus re Sechem mac Hamoir.
19 Agus cha do chuir an t-òga-
nach dàil anns an ni a dheanamh, a
chionn gu'n robh tlachd aige ann an
nighinn Iacoib: agus bha e ni b'ur-
ramaiche na tigh athar uile.
20 Agus thainig Hamor, agus Se-
chem a mhac gu geatadh am baile,
agus labhair iad re daoinibh am baile,
ag ràdh,
21 *Tha* na daoine so sìochail maille
ruinn, air an aobhar sin gabhadh iad
còmhnuidh 'san tìr, agus deanadh iad
reic agus ceannachd innte; thaobh an
fhearain, feuch, *tha e* farsaing ni's leòr
dhoibh: an nigheana-sa gabhaidh
sinne dhuinne mar mhnài, agus ar
nigheana-ne bheir sinne dhoibhsan.
22 A mhàin anns an ni so aontaich-
idh na daoine leinn, gu còmhnuidh
ghabhail maille ruinn, gu bhi 'nar
n-aon sluagh, ma thimchioll-ghearrar
gach firionnach againne, mar *a ta* iad-
san air an timchioll-ghearradh.
23 Nach leinne an spréidh, agus
am maoin, agus an ainmhidhean uile?
a mhàin aontaicheamaid leo, agus
gabhaidh iad còmhnuidh maille ruinn.
24 Agus dh'éisd gach neach a
chaidh mach air geatadh a bhaile re
Hamor, agus re Sechem a mhac: agus
thimchioll-ghearradh gach firionnach,
iadsan uil' a chaidh mach air geatadh
a bhaile.
25 Agus air an treas là, 'nuair a
bha iad air an cràdh, 'an sin ghabh
dithis do mhic Iacoib, Simeon agus
Lebhi, bràithre Dhinah, gach fear ac'
a chloidheamh, agus thàinig iad air a'
bhaile gu dàna; agus mharbh iad
gach firionnach.
26 Agus mharbh iad Hamor agus
Sechem a mhac le faobhar a' chloidh-
heimh, agus thug iad Dinah a tigh
Shecheim, agus chaidh iad a mach.
27 Thàinig mic Iacoib air na
mairbh, agus chreach iad am baile, a
chionn gu'n do thruaill iad am piu-
thar.
28 An caoraich, agus am buar, a-
gus an asail, agus na *bha* 'sa' bhaile,
agus na *bha* 'san fhearann, thog iad.
29 Agus am maoin uile, agus an
clann bheag uile, agus am mnài thug
iad leo 'an daorsadh [b], agus thog iad
'sa' chreich eadhon gach ni a *bha*
stigh.
30 Agus thubhairt Iacob re Sime-
on agus re Lebhi, Chuir sibh triob-
laid [c] orm le m' dheanamh gràineil [d]
a' measg luchd-àiteachadh na tìre, a'
measg nan Canaanach, agus nam Pe-
ridseach: agus air dhomhsa bhi gann [e]
'an àireamh, cruinnichidh siad iad féin
cuideachd a' m' aghaidh, agus marbh-
aidh iad mi; agus cuirear as domh, a-
gus do m' thigh.
31 Agus thubhairt iad, Am bu
chòir dha buntainn re 'r piuthair-ne
mar re striopaich?

CAIB. XXXV.

AGUS thubhairt Dia re Iacob,
Eirich, imich suas gu Betel, a-
gus gabh còmhnuidh 'an sin; agus
dean 'an sin altair do Dhia, a dh'-
fhoillsich e féin duit 'nuair a theich
thu o ghnùis Esau do bhràthar.

[a] *dowry.* Sasg.
[b] *am braighdeanas.*
[c] *aimlisg.*
[d] *fuathach.*
[e] *tearc, beag.*

2 Agus thubhairt Iacob r'a theagh-
laich, agus riu-san uile a *bha* maille
ris, Cuiribh uaibh na dée coimheach
a ta 'nar measg, agus bithibh glan, a-
gus mùthaibh [a] bhur n-eudach:
3 Agus éireamaid, agus rachamaid
suas gu Betel; agus ni mise 'n sin al-
tair do Dhia, a dh'éisd rium ann an
là mo chruaidh-chais, agus a bha
maille rium 'san t-slighe air an dea-
chaidh mi.
4 Agus thug iad do Iacob na dée
coimheach uile a *bha* 'nan làimh, agus
an cluas fhàinnean, a *bha* 'nan cluas-
aibh; agus dh'fholaich Iacob iad
fuidh'n daraig a *bha* làimh re Sechem.
5 Agus dh'imich iad: agus bha
eagal [b] Dhé air na bailtibh a *bha* m'an
cuairt orra, agus cha d'rinn iad
tòireachd air mic Iacoib.
6 Mar sin thàinig Iacob gu Luds a
ta 'n tìr Chanaain, eadhon Betel, e
féin agus an sluagh uile a *bha* maille
ris.
7 Agus thog e 'n sin altair, agus
thug e El-betel mar ainm air an àite:
do bhrìgh ann an sin gu'n d'fhoillsich
Dia e féin dha, 'nuair a theich e o
ghnùis a bhràthar.
8 Ach fhuair Deborah banaltrum [c]
Rebecah bàs, agus dh'adhlaiceadh i
fuidh Bhetel, fuidh dharaig: agus
thugadh Alonbacut mar ainm air.
9 Agus dh'fhoillsich Dia e féin do
Iacob a rìs, 'nuair a thàinig e a Pa-
dan-aram; agus bheannaich se e.
10 Agus thubhairt Dia ris, 'Se
Iacob a's ainm dhuit: Cha'n ainmich-
ear thu Iacob ni's mò, ach *'se* Israel
a bhios 'na ainm ort; agus thug e
Israel mar ainm air.
11 Agus thubhairt Dia ris, 'S mise
Dia uile-chumhachdach, bi siolmhar
agus fàs lìonmhor; thig cinneach
agus coi'-thional chinneach uait, agus
thig righre mach a d'leasruidh.
12 Agus am fearann a thug mi
dh'Abraham, agus a dh'Isaac, dhuitse
bheir mi e; agus do d' shliochd a'd'
dhéigh bheir mi am fearann.
13 Agus chaidh Dia suas uaith 'san
àit' an do labhair e ris.
14 Agus chuir Iacob suas carragh [d]
'san àit' an do labhair e ris, carragh
cloiche, agus dhòirt e tabhartas-dibhe
air, agus dhòirt e oladh air.
15 Agus thug Iacob Betel mar ainm
air an àite far an do labhair Dia ris.
16 Agus dh'imich iad o Bhetel; a-
gus cha robh ach astar beag aca re
teachd gu h-Ephrat: agus thàinig tin-
neas cloinne air Rachel, agus bha
saothair chruaidh oirre.
17 Agus 'nuair a bha i 'n cruaidh
shaothair, 'an sin thubhairt a bhean-
ghlùine ria, Na biodh eagal ort, oir
bithidh am mac so agad cuideachd.
18 Agus 'nuair a bha h-anam a'
dealachadh ria, oir fhuair i bàs, thug
i Ben-oni mar ainm air: ach dh'ain-
mich athair e Beniamin.
19 Agus fhuair Rachel bàs, agus
dh'adhlaiceadh i 'san t-slighe gu h-E-
phrat, eadhon Betlehem.
20 Agus chuir Iacob suas carragh
air a h-uaigh: *'Se* so carragh uaigh
Racheil gus an là'n diugh.
21 Agus ghabh Israel a thurus, a-
gus shuidhich e a bhùth an taobh
thall do thùr Edeir.
22 Agus 'nuair a bha Israel a
chomhnuidh 'san tìr sin, chaidh Reu-
ben agus luidh e le Bilhah leannan [e]
athar; agus chual' Israel *sin*. A nis
bha dà mhac deug aig Iacob.
23 Mic Leah; Reuben ceud-ghin
Iacoib, agus Simeon, agus Lebhi, a-
gus Iudah, agus Isachar agus Sebu-
lun.
24 Mic Racheil; Ioseph, agus Ben-
iamin.
25 Agus mic Bhilhah, bhan-oglaich
Racheil; Dan, agus Naphtali.
26 Agus mic Shilpah bhan-oglaich
Leah; Gad agus Aser. *'S* iad sin mic
Iacoib, a rugadh dha am Padan-aram.
27 Agus thàinig Iacob chum Isaaic
athar do Mhamre, gu baile Arbah,
eadhon Hebron, far an robh Abra-
ham agus Isaac air chuairt.
28 Agus b'iad làithean Isaaic ceud
bliadhna 's ceithir fichead.
29 Agus thug Isaac suas an deò,
agus dh'eug e, agus chruinnicheadh
e chum a mhuinntir féin, *agus e* 'na
sheann-duine, agus làn do làithibh.
Agus dh'adhlaic a mhic Esau agus
Iacob e.

[a] *atharraichibh.* [b] *uamhann, oilt.* [c] *muime.* [d] *pillar* Sasg. [e] *coi'-leapach*

CAIB XXXVI.

AGUS *is* iad sin ginealaich Esau,
eadhon Edoim.
2 Ghabh Esau a mhnài do ni-
gheanaibh Chanaain; Adah nighean
Eloin an Hitich, agus Aholibamah
nighean Anah, nighinn Shibeoin an
Hibhich:
3 Agus Basemat nighean Ismaeil,
piuthar Nebaiot.
4 Agus rug Adah do Esau, Eli-
phads, agus rug Basemat Reuel.
5 Agus rug Aholibamah Ieus, a-
gus Iaalam, agus Corah: *'S* iad sin
mic Esau, a rugadh dha ann an tìr
Chanaain.
6 Agus gabh Esau a mhnài, agus
a mhic, agus a nigheana, agus uile
mhuinntir a thighe, agus a spréidh,
agus ainmhidhean uile, agus a mhaoin
uile, a fhuair e ann an tìr Chanaain;
agus chaidh e do thìr *eile* o ghnùis a
bhràthar Iacoib.
7 Oir bha 'n saibhreas ni bu mho
na gu'm feudadh iad còmhnuidh gha-
bhail cuideachd; agus cha b'urradh
an tìr anns an robh iad 'nan coigrich
an giùlan air son an spréidhe.
8 Mar so ghabh Esau còmhnuidh
ann an sliabh Sheir: *'s* e Esau Edom.
9 Agus *'s* iad sin ginealaich Esau
athar nan Edomach ann an sliabh
Sheir.
10 *'S* iad sin ainmeanna mhac Esau;
Eliphads mac Adah mhnà Esau, Reuel
mac Bhasemat mhnà Esau.
11 Agus b'iad mic Eliphads; Te-
man, Omar, Sepho, agus Gatam, a-
gus Cenads.
12 Agus bha Timna 'na leannan-
aig Eliphads mac Esau; agus rug i do
Eliphads Amalec: *b'* iad sin mic Adah
mhnà Esau.
13 Agus *'s* iad sin mic Reueil;
Nahat agus Serah, Samah agus Mid-
sah: *b'*iad sin mic Bhasemait mhnà
Esau.
14 Agus *b'* iad sin mic Aholibamah,
nighinn Anah, nighinn Shibeoin mhnà
Esau: agus rug i do Esau Ieus, agus
Iaalam, agus Corah.
15 *B'*iad sin cinn-fheadhna mhac
Esau: mic Eliphads ceud-ghin Esau;
ceann-fheadhna Teman, ceann-feadhna
Omar, ceann-feadhna Sepho, ceann-
feadhna Cenads.
16 Ceann-feadhna Corah, ceann-
feadhna Gatam, *agus* ceann-feadhna
Amalec: *'s* iad sin na cinn-fheadhna
a thàinig o Eliphads, ann an tìr
Edoim: *b'*iad sin mic Adah.
17 Agus *'s* iad sin mic Reueil mhic
Esau; ceann-feadhna Nahat, ceann-
feadhna Serah, ceann-feadhna Samah:
ceann-feadhna Midsah. *'S* iad sin
na cinn-fheadhna *a thàinig o* Reuel,
ann an tìr Edoim: *'s* iad sin mic
Bhasemait mhnà Esau.
18 Agus *'s* iad sin mic Aholibamah
mhnà Esau; ceann-feadhna Ieus, ceann-
feadhna Iaalam: ceann-feadhna Corah:
b' iad sin na cinn fheadhna *a thàinig o*
Aholibamah nighinn Anah mhnà Esau.
19 *'S* iad sin mic Esau, eadhon E-
doim; agus *'s* iad sin an cinn-fheadh-
na.
20 *'S* iad sin mic Sheir an Horich,
luchd-àiteachadh na tìre; Lotan, a-
gus Sobal, agus Sibeon, agus Anah,
21 Agus Dison, agus Eser, agus
Disan: *'s* iad sin cinn fheadhna nan
Horach, cloinne Sheir, ann an tìr
Edoim.
22 Agus *b'* iad clann Lotain;
Hori, agus Heman: agus *b'i* Timna
piuthar Lotain.
23 Agus *b'* iad sin clann Shobail;
Albhan, agus Manahat, agus Ebal, Se-
pho, agus Onam.
24 Agus *b'* iad sin clann Shibeoin;
araon Aiah, agus Anah: *b'* e so an
t-Anah, a fhuair a mach na muileid-
ean [a] 'san fhàsach, 'nuair a bha e 'g
ionaltradh asal Shibeoin athar.
25 Agus *b'*iad sin clann Anah;
Dison, agus Aholibamah nighean
Anah.
26 Agus *b'*iad sin clann Dhisoin;
Hemdan, agus Esban, agus Itran, a-
gus Cheran.
27 *B'* iad sin clann Eseir; Bilhan,
agus Saabhan, agus Achan.
28 *B'* iad sin clann Dhisain; Uds,
agus Aran.
29 *B'* iad sin cinn-fheadhna nan
Horach; ceann-feadhna Lotan, ceann-
feadhna Sobal, ceann-feadhna Sibeon,
ceann-feadhna Anah,

[a] *mules.* Sasg.

30 Ceann-feadhna Dison, ceann-feadhna Eser, ceann-feadhna Disan: 's iad sin na cinn-fheadhna *a thàinig* o Hori, am measg an ceann-fheadhna-san ann 'an tìr Sheir.

31 Agus 's iad sin na righrean a rìoghaich ann an tìr Edoim, mun do rìoghaich righ *'sam bith* air cloinn Israeil.

32 Agus rìoghaich ann an Edom Belah mac Bheoir; agus *b'e* ainm a bhaile Dinhabah.

33 Agus dh'eug Belah, agus rìoghaich 'na àite Iobab mac Sherah o Bhosrah.

34 Agus dh'eug Iobab, agus rìoghaich 'na àite Husam o thalamh Themani.

35 Agus dh'eug Husam, agus rìoghaich 'na àite Hadad mac Bhedaid, a bhuail Midian 'am fearann Mhoaib: agus *b'e* ainm a bhaile Abhit.

36 Agus dh'eug Hadad, agus rìoghaich 'na àite Samlah o Mhasrecah.

37 Agus dh'eug Samlah, agus rìoghaich 'na àite Saul o Rehobot, *làimh ris* an abhainn.

38 Agus dh'eug Saul, agus rìoghaich 'na àite Baal-hanan mac Achboir.

39 Agus dh'eug Baal-hanan mac Achboir, agus rìoghaich 'na àite Hadar: agus *b'e* ainm a bhaile Pau; agus ainm a mhnà Mehetabel, nighean Mhatreid, nighinn Mhedsahaib.

40 Agus 's iad sin ainmeanna nan ceann-feadhna *a thàinig* o Esau, a rèir an teaghlaichean, a rèir an àiteacha, 'nan ainmibh; ceann-feadhna Timnah, ceann-feadhna Albhah, ceann-feadhna Ietet,

41 Ceann-feadhna Aholibamah, ceann-feadhna Elah, ceann-feadhna Pinon,

42 Cean-feadhna Cenads, ceann-feadhna Teman, ceann-feadhna Mibsar,

43 Ceann-feadhna Magdiel, ceann-feadhna Iram: 's iad sin cinn-fheadhna Edoim, a rèir an àiteacha-còmhnuidh, ann an tìr an seilbh: 's esan Esau, athair nan Edomach.

CAIB. XXXVII.

AGUS ghabh Iacob còmhnuidh 'san tìr anns an robh athair 'na choigreach, ann an tìr Chanaain.

2 'S iad so ginealaich Iacoib: 'Nuair a bha Ioseph seachd bliadhna deug a dh'aois, bha e buachailleachd an treud maille r'a bhràithribh, agus *bha* 'n t-òganach maille re mic Bhilhah, agus maille re mic Shilpah, mnài athar; agus thug Ioseph an droch thuairesgeul-san a dh'ionnsuidh athar.

3 Agus bu docha le h-Israel Ioseph na mhic uile, chionn gu'*m b'e* mac a shean-aois e: agus rinn e dha còta dh' *iomadh* dath [a].

4 Agus 'nuair a chunnaic a bhràithre gu'm bu docha le athair e na bhràithrean uile, dh'fhuathaich iad e, agus cha b'urradh iad labhairt ris gu siochail.

5 Agus chunnaic Ioseph aisling [b], agus dh'innis e d'a bhràithribh *i*, agus dh'fhuathaich iad e fathast ni's mò.

6 Agus thubhairt e riu, Eisdibh, guidheam oirbh, ris an aisling so a chunnaic mi:

7 Oir feuch, *bha* sinn a' ceangal sguab 'san achadh, agus feuch, dh'èirich mo sguab-sa suas, agus sheas i gu dìreach; agus feuch, sheas bhur sguaba-sa m'an cuairt oirre, agus rinn iad ùmhlachd do m' sguaib-sa.

8 Agus thubhairt a bhràithre ris, Am bi thusa gun amharus a'd' righ oirne? am bi agad d'a rìreadh tighearnas oirne? Agus dh'fhuathaich iad e fathast ni's mo air son aislingean, agus air son a bhriathra.

9 Agus chunnaic e fathast aisling eile, agus dh'innis e d'a bhràithribh *i*, agus thubhairt e, Feuch, chunnaic mi aisling eile; agus feuch, rinn a' ghrian agus a' ghealach, agus an aon reul deug, ùmhlachd dhomsa.

10 Agus dh'innis e d'a athair *i*, agus d'a bhràithribh: agus thug athair achmhasan da, agus thubhairt e ris, Ciod i an aisling so a chunnaic thu? An e gu'n d'thig d'a rìreadh mise agus do mhàthair agus do bhràithre,

chum

[a] *dh'iomad mir.* [b] *bhruadair Ioseph bruadar.*

chum sinn féin a chromadh sios duitse gu làr?

11 Agus bha farmad aig a bhràithribh ris: ach thug athair fa'near a' chainnt.

12 Agus chaidh a bhràithrean a dh'ionaltradh treud an athar do Shechem.

13 Agus thubhairt Israel re Ioseph, Nach 'eil do bhràithrean ag ionaltradh *an treud* ann an Sechem? Thig, agus cuiridh mi thu d'an ionnsuidh, Agus thubhairt e ris, *Tha* mise 'n so.

14 Agus thubhairt e ris, Imich, guidheam ort, faic am bheil do bhràithrean gu math, agus am bheil an treud gu math; agus thoir fios a m' ionnsuidh' a ris. Mar sin chuir e mach e a gleann Hebroin, agus thàinig e gu Sechem.

15 Agus fhuair duin' *àraidh* e, agus feuch, *bha e* air seacharan 'sa' mhachair: agus dh'fheòraich an duine dheth, ag ràdh, Ciod a tha thu 'g iarraidh?

16 Agus thubhairt e, *Tha mi* 'g iarraidh mo bhràithre: innis dhomh, guidheam ort, c'àit' am bheil iad ag ionaltradh *an treuda*.

17 Agus thubhairt an duine, Dh'fhalbh iad a so: oir chuala mi iad ag ràdh, Rachamaid gu Dotan. Agus chaidh Ioseph 'an déigh a bhràithrean, agus fhuair e iad ann an Dotan.

18 Agus 'nuair a chunnaic iad e fada uatha, eadhon mun d'thàinig e 'm fagus doibh, chuir iad an comhairle re chéile'na aghaidh, gus a mharbhadh.

19 Agus thubhairt iad r'a chéile, Feuch, tha 'n t-aislingiche so a' teachd.

20 Thigibh a nis ma ta, agus marbhamaid e, agus tilgeamaid e ann an slochd éigin; agus their sinn, Chuir droch bhéist éigin as da; agus chi sinn ciod gus an d'thig aislingean.

21 Agus chuala Reuben *so*, agus shaor e as an làimh e, agus thubhairt e, Na cuireamaid gu bàs e.

22 Agus thubhairt Reuben riu, Na dòirtibh' fuil; tilgibh e 'san t-slochd so, a *ta* 'san fhàsach, agus làmh na cuiribh ann: a chum 's gu'n saoradh e as an làimh e, agus gu'n aisigeadh e ris d'a athair e.

23 Agus 'nuair a thàinig Ioseph a dh'ionnsuidh a bhràithre, 'an sin bhuin iad do Ioseph a chòta, a chòta nan *iomadh* dath, a *bha* air.

24 Agus ghabh iad e, agus thilg iad e ann an slochd, agus bha 'n slochd falamh, gun uisge ann.

25 Agus shuidh iad sios a dh'itheadh arain, agus thog iad suas an sùilean agus dh'amhairc iad, agus feuch, *bha* cuideachd do chloinn Ismaeil a' teachd o Ghilead le'n càmhalan a' giùlan spiosraidh, agus ìoc-shlaint [a], agus mirr, a' dol gus *an* toirt sios do'n Eiphit.

26 Agus thubhairt Iudah r'a bhràithribh, Ciod an tairbh a *bhios dhuinn ann* ma mharbhas sinn ar bràthair, agus ma cheileas sinn fhuil.

27 Thigibh, agus reiceamaid e ris na h-Ismaelich, agus na cuireamaid làmh ann; oir *is e* ar dearbh-bhrathair e, agus ar feoil: agus dh'éisd a bhràithre ris.

28 'An sin chaidh Midianaich seachad, ceannaichean; agus tharruing iad agus thog iad suas Ioseph as an t-slochd: agus reic iad Ioseph ris na h-Ismaelich air fhichead *bonn* airgid. Agus thug iadsan Ioseph do'n Eiphit.

29 Agus phill Reuben a dh'ionnsuidh an t-sluichd; agus feuch, cha robh Ioseph 'san t-slochd: agus reub e eudach.

30 Agus phill e dh'ionnsuidh a bhràithrean, agus thubhairt e, Cha'n *'eil* an leanabh ann; agus mise, c'àit' an d' théid mi?

31 Agus ghabh iad còta Ioseiph, agus mharbh iad meann do na gabhraibh, agus thum iad an còta 'san fhuil.

32 Agus chuir iad uatha còta nan *iomadh* dath, agus thug iad *e* dh'ionnsuidh an athar; agus thubhairt iad, Fhuair sinne so: aithnich a nis an e so còta do mhic, no nach e.

33 Agus dh'aithnich se *e*, agus thubhairt e, Còta mo mhic; chuir droch bhéisd as da: tha Ioseph gun teagamh air a reubadh as a chéile.

34 Agus reub Iacob eudach, agus chuir e eudach-saic air a leasruidh, agus rinn e bròn air son a mhic rè mòrain

[a] *balm.* Sasg. [b] *rachd.*

rain lài.
35 Agus dh'éirich a mhic uile,
agus a nigheanan uile suas, a thoirt
sòlais da; ach dhiùlt esan sòlas a gha-
bhail; agus thubhairt e, Oir théid mi
sìos do 'n uaigh a chum mo mhic re
bròn. Mar so rinn athair caoidh air
a shon.
36 Agus reic na Midianaich e 'san
Eiphit re Potiphar, oifigeach le Pha-
raoh, ceannard an fhreiceadain [a].

CAIB. XXXVIII.

AGUS 'san àm sin féin chaidh Iu-
dah sìos o bhràithribh, agus
thionndaidh e steach a dh'ionnsuidh
Adulamaich àraidh, d'am *b*'ainm Hi-
rah.
2 Agus chunnaic Iudah 'n sin ni-
ghean Canaanaich àraidh, d'am *b*'-
ainm Suah: agus ghabh e i, agus
chaidh e steach d'a h-ionnsuidh.
3 Agus dh'fhàs i torrach, agus rug
i mac; agus thug e Er mar ainm air.
4 Agus dh'fhàs i torrach a rìs, a-
gus rug i mac; agus thug i Onan
mar ainm air.
5 Agus dh'fhàs i torrach fathast,
agus rug i mac; agus thug i Selah
mar ainm air: agus bha esan ann an
Chedsib 'nuair a rug i e.
6 Agus ghabh Iudah bean do Er a
cheud-ghin, d' *am b*'ainm Tamar.
7 Agus bha Er, ceud-ghin Iudaih,
aingidh ann an sealladh an Tighear-
na; agus mharbh an Tighearn e.
8 Agus thubhairt Iudah re h-O-
nan, Falbh a steach a dh'ionnsuidh
mnà do bhràthar, agus pòs i, agus tog
suas sliochd do d' bhràthair.
9 Agus bha fhios aig Onan nach
b'ann leis féin a bhiodh an sliochd;
agus 'nuair a chaidh e steach a
dh'ionnsuidh mnà a bhràthar, dhòirt e
air a' bhlàr *e*, chum nach d'thugadh e'
sliochd d'a bhràthair.
10 Agus bha 'n nì a rinn e olc ann
an sealladh an Tighearna: uime sin
mharbh e esan mar an ceudna.
11 'An sin thubhairt Iudah re Ta-
mar mnaoi a mhic, Fan a'd' bhan-
traich ann an tigh t'athar, gus am fàs
mo mhac Selah suas: oir thubhairt e,
An t-eagal gu'm faigheadh esan bàs
mar an ceudna mar a *fhuair* a bhrài-
thre. Agus dh'fhalbh Tamar, agus
dh'fhan i 'n tigh a h-athar.
12 Agus ùine fhada 'n déigh sin fhuair
nighean Shuaih bean Iudah bàs: agus
thog Iudah a mhisneach, agus chaidh e
suas a dh'ionnsuidh luchd-lomairt [b] a
chaorach, e féin agus a charaid Hirah
an t-Adulamach, gu Timnat.
13 Agus dh'innseadh do Thamar,
ag ràdh, Feuch, *tha* t'athair-céile a'
dol suas gu Timnat a lomairt a chao
rach.
14 Agus chuir i a culaidh-bantraich
dhith, agus chòmdaich si i féin le
gnùis-bhrat, agus phaisg si i féin, agus
shuidh i ann an ionad follaiseach a *ta*
làimh ris an t-slighe gu Timnat: oir
chunnaic i gu'n d'fhàs Selah suas,
agus nach d'thugadh i dha mar
mhnaoi.
15 'Nuair a chunnaic Iudah i,
shaoil e gu'*m bu* striopach i, a chionn
gu'n do chòmhdaich i h-eudan.
16 Agus thionndaidh e d'a h-ionn-
suidh air an t-slighe, agus thubhairt e,
Leig leam, guidheam ort, teachd a
steach a't' ionnsuidh; oir cha robh
fhios aige gu'*m b'i* bean a mhic i:
agus thubhairt i, Ciod a bheir thu
dhomh a chum as gu'n d'thig thu
steach a'm' ionnsuidh?
17 Agus thubhairt esan, Cuiridh
mi meann [c] a't' ionnsuidh o'n treud:
agus thubhairt ise, An d'thoir thu
geall *dhomh* gus an cuir thu *m' ionn-
suidh e?*
18 Agus thubhairt e, Ciod an geall
a bheir mi dhuit? Agus thubhairt
ise, Dho sheula, agus do làmh-fhailean,
agus do lorg a *ta* ann ad làimh: agus
thug e dh'i *iad*, agus chaidh e steach
d'a h-ionnsuidh, agus rinneadh i tor-
rach leis.
19 Agus dh'éirich i, agus dh'fhalbh
i roimpe, agus chuir i seachad a gnùis-
bhrat uaithe [d], agus chuir i a culaidh-
bantraich oirre.
20 Agus chuir Iudah am meann le
làimh a charaid an Adulamaich, chum
as gu'm faigheadh e 'n geall o làimh
na mnà; ach cha d'fhuair e i.

[a] *ceannard a shaighdearan, captein a' gheard.* [b] *luchd-bearraidh.*
[c] *meann do na gabhraibh*, Eabh. [d] *naipe, uaiche.*

21 'An ſin dh'fheoraich e do
dhaoinibh an àite ſin, ag ràdh, C'àit'
am bheil an ſtrìopach a *bha* gu follaiſ-
each re taobh na ſlighe[a]? Agus thu-
bhairt iadſan, Cha robh ſtrìopach *'ſam
bith* an ſo.
22 Agus phill e dh'ionnſuidh Iu-
daih, agus thubairt e, Cha d'fhuair
mi i: agus mar an ceudna thubhairt
daoin' an àite, Cha robh ſtrìopach
'ſam bith an ſo.
23 Agus thubhairt Iudah, Gabhadh
i dh'i féin *e*, an t-eagal gu maſlaich-
ear ſinn: feuch, chuir mi am
meann ſo *d'a h-ionnſuidh*, agus cha
d'fhuair thu i.
24 Agus beul re tri mìoſa 'n déigh
ſin, dh'innſeadh do Iudah, ag ràdh,
Rinn Tamar bean do mhic ſtrìopa-
chas; agus feuch cuidéachd, *tha* i
torrach le ſtrìopachas. Agus thu-
bhairt Iudah, Thugaibh a mach i,
agus loiſgear i.
25 'Nuair a thugadh a mach i,
chuir i *ſios* a dh'ionnſuidh a h-athar-
céile, ag ràdh, Aig an fhear d'am
buin iad ſin *tha* miſe lethtromach:
agus thubhairt i, Faic, guidheam ort,
cia leis an ſeula, agus na làmh-fhail-
ean, agus an lorg ſo.
26 Agus ghabh Iudah riu, agus
thubhairt e, Bha i ni bu cheirte na
miſe, a chionn nach d'thug mi i do
Shelah mo mhac: agus cha robh
aithne aige oirre ni's mo.
27 Agus 'nuair a bha i re ſaothair
chloinne, feuch, *bha* leth-aona 'na bolg.
28 Agus 'nuair a bha i re ſaothair,
chuir *a h-aon diubh* mach *a* làmh:
agus rug a bhean-ghlùin air a làimh,
agus cheangail i ſnàthainn ſcarlaid
oirre, ag ràdh, Thàinig e ſo a mach
'an toiſeach.
29 Agus 'nuair a tharruing e a
làmh air ais, feuch, thàinig a bhrà-
thair a mach: agus thubhairt iſe,
Cionnus a bhris thu mach? *bitheadh*
am briſeadh *ſo* ort. Uime ſin thu-
gadh Phareds mar ainm air.
30 Agus 'an déigh ſin thàinig a
bhràthair a mach, aig an robh an
ſnàthainn ſcarlaid air a làimh; agus
thugadh Sarah mar ainm air.

CAIB. XXXIX

AGUS thugadh Ioſeph sìos do'n
Eiphit: agus cheannaich Poti-
phar oiſigeach le Pharaoh, ceannard
an fhreiceadain, Eiphiteach, e o làimh
nan Iſmaelach, a thug sìos 'an ſin e.
2 Agus bha 'n Tighearna maille
re Ioſeph, agus bha e 'na dhuine
leis an do ſhoirbhich gach ni; agus
bha e'n tigh a mhaighſtir an Eiphit-
ich.
3 Agus chunnaic a mhaighſtir gu
'n robh an Tighearna maille ris, agus
gu'n d'thug an Tighearn air gach ni
a rinn e ſoirbheachadh 'na làimh.
4 Agus fhuair Ioſeph deagh-ghean
'na ſhealladh, agus rinn e ſeirbhis
da: agus rinn ſe e 'na fhear-riagh-
laidh air a thigh, agus gach ni a
bh'aige chuir e fuidh làimh.
5 Agus o'n àm ſin féin 'ſan d' rinn
ſe e 'na fhear-riaghlaidh air a thigh,
agus air gach ni a bh'aige, bheannaich
an Tighearna tigh an Eiphitich air
ſgath Ioſeiph; agus bha beannachadh
an Tighearn air gach ni bh'aige, anns
an tigh, agus anns a 'mhachair.
6 Agus dh'fhàg e gach ni a *bh'*aige
an làimh Ioſeiph, agus cha b'fhios
da aon ni bh'aige, ſaor o'n aran
a *bha* e 'g itheadh: agus bha Ioſeph
'na *dhuine* maiſeach, agus ſgiamhach
'ſan aghaidh.
7 Agus 'an déigh nan nithe ſin
leag bean a mhaighſtir a sùilean air
Ioſeph, agus thubhairt i, Luidh leam-
sa.
8 Agus dhiùlt eſan, agus thubhairt
e re mnaoi a mhaighſtir, Feuch, cha
'n 'eil fios aig mo mhaighſtir ciod a
tha maille rium ſan tigh, agus gach
ni a th'aige chuir e fuidh m' làimh-
ſa.
9 Cha *'n 'eil* neach 'ſan tigh ſo a's
mò na miſe; agus cha do chum e uam
ni 'ſam bith ach thuſ', a chionn gur
tu a bhean: cionnus uime ſin a ni
miſe 'n t-olc mòr ſo, agus a pheac-
aicheas mi 'n aghaidh Dhé?
10 Agus thachair e, nuair a labh-
air i re Ioſeph o là gu là, nach
éiſdeadh eſan ria, gu luidhe leatha, *no*
bhi maille ria.

[a] *an ròid.*

11 Agus thachair e air latha àraidh, gu'n deachaidh eſan a ſteach do'n tigh a dheanamh oibre féin, agus chà *robb* a h-aon do dhaoinibh an tighe 'an ſin a ſtigh.

12 Agus rug i air air eudach-uachdair[a], ag ràdh, Luidh leam-ſa: agus dh'fhàg e eudach-uachdair 'na làimh, agus theich e, agus thàr e mach.

13 Agus 'nuair a chunnaic iſe gu 'n d'fhàg e eudach-uachdair 'na làimh, agus gu 'n do theich e mach,

14 'An ſin ghairm i air daoinibh a tighe, agus labhair i riu, ag ràdh, Faicibh, thug e ſteach d'ar n-ionnſuidh Eabhruidheach g'ar maslachadh[b]: thàinig e ſteach a m' ionnſuidhs' a luidhe leam, agus ghlaodh miſe le guth ard:

15 Agus 'nuair a chual' e gu'n do thog mi ſuas mo ghuth, agus gu'n do ghlaodh mi, 'an ſin dh'fhàg e eudach-uachdair maille rium, agus theich e, agus chaidh e mach.

16 Agus thaiſg i eudach-uachdair làimh ria, gus an d'thàinig a thighearna dhachaidh

17 Agus labhair i ris a réir nam briathra ſo, ag ràdh, Thainig an ſeirbhiſeach Eabhruidheach, a thug thu d'ar n-ionnſuidh a ſteach a'm'ionnſuidhſa gu m' mhaslachadh:

18 Agus 'nuair a thog miſe ſuas mo ghuth, agus a ghlaodh mi, 'an ſin dh' fhàg e eudach-uachdair maille rium, agus theich e mach.

19 Agus 'nuair a chual' a mhaighſtir briathran a mhnà, a labhair i ris, ag ràdh, Air an dòigh ſo rinn do ſheirbhiſeach orm; 'an ſin las fhearg ſuas.

20 Agus ghabh maighſtir Ioſeiph e, agus chuir e 'ſa' phrìoſan e, far an robh prìoſanaich an righ ceangailte: agus bha e 'n ſin 'ſa' phrìoſan.

21 Ach bha 'n Tighearna maille re Ioſeph, agus nochd e tròcair dha, agus thug e dha deagh-ghean ann an ſùilibh fhir-gleidhidh a' phrìoſain.

22 Agus chuir fear-gleidhidh a' phrìoſain fuidh làimh Ioſeiph na prìoſanaich uile a *bha* 'ſa' phrìoſan; agus gach ni a rinn iad 'an ſin, b' eſan a rinn *e*.

23 Cha d'amhairc fear-gleidhidh a' phrìoſain air ni 'ſam bith *a bha* fuidh làimh, a chionn gu'*n robh* an Tighearna maille ris; agus *an ni ſin* a rinn e, thug an Tighearn air soirbheachadh *leis*.

C A I B. XL.

AGUS 'n déigh nan nithe ſin chuir buidealair righ na h-Eiphit, agus fhuineadair, fearg air an tighearna, righ na h-Eiphit.

2 Agus bha corruich mhòr air Pharaoh re dithis d'a ſheirbhiſich, ris an àrd-bhuidealair, agus ris an àrd-fhuineadair.

3 Agus chuir e 'n làimh[c] iad ann an tigh ceannaird an fhreiceadain 'ſa' phrìoſan, far *an robh* Ioseph ceangailte.

4 Agus chuir ceannard an fhreiceadain an cùram air Ioſeph, agus fhritheil e dhoibh; agus dh'fhan iad tamull[d] ann an làimh.

5 Agus chunnaic iad aisling le chéile, gach fear *a'* aisling féin 'ſan aon oidhche, gach fear an réir eadarmhìneachaidh aislinge; am buidealair agus fuineadair righ na h-Eiphit, a *bha* ceangailte 'ſa' phrìoſan.

6 Agus thàinig Ioſeph a ſteach d'an ionnſuidh 'ſa' mhadainn, agus dh'amhairc e orra, agus feuch, *bha* iad dubhach.

7 Agus dh'fheòraich e do ſheirbhiſich Pharaoih, a *bha* 'n làimh maille ris ann an tigh a thighearna, ag ràdh, C'ar ſon a tha bhur gnùis *cho* mhuladach an diugh?

8 Agus thubhairt iad ris, Chunnaic ſin aisling, agus cha '*n 'eil neach againn* a dh'eadar-mhìnicheas i. Agus thubhairt Ioſeph riu, Nach ann o Dhia *tha* gach eadair-mhìneachadh? innsibh dhomhs' *iad*, guidheam oirbh.

9 Agus dh'innis an t-àrd-bhuidealair aisling do Ioſeph, agus thubhairt e ris, A'm' aisling-ſa feuch, *bha* fìneamhain fa m' chomhair.

10 Agus air an fhìneamhain *bha* tri meanglain[e]; agus *bha* i mar gu'm biodh i a' briſeadh a mach, *agus* thàinig i fuidh làn-bhlàth, *agus* thug a bagaidean dearcan abuich uatha.

[a] *ſhalluing, a chòta.* [b] *mhagadh irn.* [c] *ann an daingneach.* [d] *ſeal.*
[e] *gewga.*

11 Agus *bha* cupan Pharaoih a'm'
làimh; agus ghabh mi na fion-dhearc-
an, agus dh'fhàisg mi iad 'an cupan
Pharaoih, agus thug mi 'n cupan ann
an làimh Pharaoih.
12 Agus thubhairt Ioseph ris, '*Se*
so a h-eadar-mhìneachadh: Na tri
meanglain, *is* tri làì iad.
13 Eadhon 'an ceann thri làì to-
gaidh Pharaoh suas do cheann, agus
bheir e ris gu t-àite féin thu; agus
bheir thu cupan Pharaoih 'na làimh,
mar a b'àbhuist duit roimhe 'nuair a
bha thu d'bhuidealair aige.
14 Ach cuimhnich thusa ormsa
'nuair a dh'éireas gu math dhuit, agus
dean, guideam ort, caoimhneas domh:
agus thoir iomrabh orm re Pharaoh,
agus thoir a mach mi as an tigh so:
15 Oir gu deimhin ghoideadh air
falbh mi a tìr nan Eabhruideach, a-
gus mar an ceudna 'n so cha d'rinn
mi ni sam bith gu 'n cuirte 'san
t-slochd mi.
16 'Nuair a chunnaic an t-ard-
fhuineadair gu'n d'eadair-mhìnich e
gu math, thubhairt e re Ioseph, *Bha*
mise mar an ceudna a'm' aisling, agus
feuch, *bha* tri bascaide geala air mo
cheann:
17 Agus anns a' bhascaid a b'àirde
bha do gach seòrta bìdh air son Pha-
raoih do dheasachadh an fhuinea-
dair: agus dh'ith an eunlaith iad a
mach as a' bhascaid air mo cheann.
18 Agus fhreagair Ioseph, agus
thubhairt e, '*S e* so a h-eadar-mhìn-
eachadh[a]: Na tri bascaide, 's tri làì
iad.
19 'An ceann thri làì togaidh Pha-
raoh suas do cheann dhìot, agus croch-
aidh e thu air crann, agus ithidh
an eunlaith t fheoil dhìot.
20 Agus air an treas là, co'-ainm
latha-breithe Pharaoih, rinn e cuirm
d'a sheirbhisich uile: agus thog e suas
ceann an àrd-bhuidealair, agus ceann
an àrd-fhuineadair am measg a sheir-
bhiseach.
21 Agus thug e 'n t-àrd-bhuideal-
air a chum a bhuidealaireachd a rìs;
agus thug e 'n cupan 'an làimh Pha-
raoih.
22 Ach chroch e 'n t-àrd-fhuin-
eadair, mar a dh'eadar-mhìnich Ioseph
dhoibh.
23 Gidheadh cha do chuimhnich
an t-àrd-bhuidealair air Ioseph, ach
dhì-chuimhnich se e.

CAIB. XLI.

AGUS 'an ceann dà bhliadhna
iomlan, chunnaic Pharaoh ais-
ling; Agus feuch, sheas e làimh ris
an abhainn:
2 Agus feuch, thàinig a nìos as an
abhainn seachd bà, sgiamhach r'am
faicinn, agus reamhar 'am feoil; agus
bha iad ag ionaltradh ann am mìn-
fheur[b].
3 Agus feuch, thàinig seachd bà
eile nìos 'nan déigh as an abhainn,
granda re 'm faicinn, agus caol 'nam
feoil; agus sheas iad làimh ris na bà
eile, air bruaich na h-aibhne.
4 Agus dh'ith na bà *bha* granda
r'am faicinn agus caol 'nam feoil, suas
na seachd bà sgiamhacha agus reamh-
ra. Mar sin dhùisg Pharaoh.
5 Agus choidil agus chunnaic e
aisling an dara uair: Agus feuch,
dh'éirich suas seachd diasan air aon
choinlin, reachdmhor agus math.
6 Agus feuch, dh'fhàs suas 'nan
déigh seachd diasa caola, agus air an
seargadh leis a' ghaoith 'n ear.
7 Agus shluig na seachd diasa cao-
la sìos na seachd diasa reachdmhor
agus làn: agus dhùisg Pharaoh, agus
feuch, *b'* aisling a *bh' ann*.
8 Agus 'sa' mhadainn bha a spio
rad air a bhuaireadh[c]; agus chuir e
fios uaith agus ghairm e uile dhruidh-
ean na h-Eiphit, agus a dhaoine glic uile:
agus dh'innis Pharaoh aisling dhoibh;
ach cha *robh* neach ann a dh'eadar-
mhìnicheadh iad do Pharaoh.
9 'An sin labhair an t-ardbhuid-
ealair re Pharaoh, ag ràdh, An
diugh tha mis' a' cuimhneachadh mo
lochdan[d].
10 Bha fearg air Pharaoh r'a
sheirbhisich, agus chuir e mise 'n
làimh ann an tigh cheannaird an
fhreiceadain, *araon* mise, agus an
t-àrd-fhuineadair.
11 Agus chunnaic sinn aisling 'san
aon oidhche, mis', agus esan: chun-
naic

[a] *brigh.* [b] *lian, lòn, miadan.* [c] *air a chràdh.* [d] *mo choire.*

mic gach fear againn aisling a réir
eadar-mhìneachaidh aislinge.
12 Agus bha 'n sin maille ruinne
òganach Eabhruidheach, seirbhiseach
do cheannard an fhreiceadain; agus
dh'innis sinn da, agus dh'eadar-mhì-
nich e dhuinn ar n-aislingean: do
gach fear againn a' réir aislinge
dh'eadar-mhìnich e.
13 Agus mar a dh'éadar-mhìnich
e dhuinn, mar sin bha e: mise chuir
e rìs ann am àite, agus esan chroch e.
14 Agus chuir Pharaoh *teachdoire*
uaith, agus ghairm e Ioseph, agus
thug iad le cabhaig a mach as an
t-slochd e: agus bhearr se *e fein*, a-
gus mhùth e eudach, agus thàinig e
steach a dh'ionnsuidh Pharaoih.
15 Agus thubhairt Pharaoh re
Ioseph, Chunnaic mi aisling, agus
cha *'n eil* neach ann a dh'eadar-mhì-
nicheas i: agus chuala mi air a ràdh
mu d'thimchiollsa, 'nuair a chluin-
neas tu aisling, gur aithne dhuit a
h-eadar-mhìneachadh.
16 Agus fhreagair Ioseph Pharaoh,
ag ràdh, Cha *'n eil e* annamsa: bheir
Dia freagradh sìth do Pharaoh.
17 Agus thubhairt Pharaoh re Io-
seph, A'm' aisling, feuch, sheas mi air
bruaich na h-aibhne;
18 Agus feuch, thàinig a nìos as
an abhainn seachd bà, reamhar 'am
feoil, agus sgiamhach ann an cruth;
agus bha iad ag ionaltradh 'am mìn-
fheur:
19 Agus feuch, thàinig seachd bà
eile nìos 'nan déigh, bochd agus ro-
ghranda, agus caol 'am feoil: cha 'n
fhaca mi 'n samhuil *riamh* ann an uile
thìr na h-Eiphit air olcas.
20 Agus dh'ith na bà caol' agus
granda suas na ceud seachd bà reamh-
ra.
21 Agus 'nuair a dh'ith iad suas
iad, cha'n aithnichte *orra* gu'n d'ith
siad iad; ach *bha iad* granda r'am
faicinn mar 'an toiseach. 'An sin
dhùisg mi.
22 Agus chunnaic mi a'm' aisling:
agus feuch, thàinig a nìos seachd dia-
san air aon choinlin, làn agus math:
23 Agus feuch, dh'fhàs suas 'nan
déigh seachd diasan, air an crìonadh,
caol *agus* seargta leis a' ghaoith 'n ear.
24 Agus shluig na diasa caola sìos
na seachd diasa matha: agus dh'innis
mi *so* do na druidhibh; ach cha *robh*
neach ann a b'urradh *a' chùis* fhoill-
seachadh dhomh.
25 Agus thubhairt Ioseph re Pha-
raoh, Aisling Pharaoih, *is* aon i: an
ni sin a ta Dia gus a dheanamh,
dh'fhoillsich e do Pharaoh.
26 Na seachd bà matha, *is* seachd
bliadhnan iad; agus na seachd diasa
matha, *is* seachd bliadhnan iad: is aon
an aisling.
27 Agus na seachd bà caol' agus
grand' a thàinig a nìos 'nan déigh, *is*
seachd bliadhnan iad; agus na seachd
diasa fàs [a] seargta leis a' ghaoith 'n
ear, bithidh iad 'nan seachd bliadhnan
gortaidh.
28 So an ni a thubhairt mi re
Pharaoh: An ni ta Dia gus a dhean-
amh, nochd e do Pharaoh.
29 Feuch, *tha* seachd bliadhnan
mòr-phailteis a' teachd feadh thìr na
h-Eiphit uile:
30 Agus éiridh seachd bliadhnan
gortaidh suas 'nan déigh, agus di-
chuimhnichear am pailteas uile 'n tìr
na h-Eiphit, agus claoidhidh a' ghorta
'n tìr.
31 Agus cha'n aithnichear am pail-
teas anns an tìr air son na gortaidh a
leanas: oir bithidh i ro-throm.
32 Agus a thaobh gu'n do dhù-
blaicheadh an aisling do Pharaoh dà
uair, *tha sin* a chionn gu *bheil* an ni air
a shuidheachadh le Dia; agus bheir
Dia ann an aithghearradh gu crìch e.
33 A nis uime sin amhairceadh
Pharaoh a mach air son duine thuig-
sich agus ghlic, agus cuireadh e os
cionn tìr na h-Eiphit e.
34 Deanadh Pharaoh *so*, agus or-
duicheadh e luchd-riaghlaidh os cionn
na tìre, agus togadh iad an cùigeadh
cuid *do thoradh* tìr na h-Eiphit 'sna
seachd bliadhnaibh pailteis.
35 Agus cruinnicheadh iad uile
bhiadh nam bliadhna matha sin re
teachd, agus taisgeadh iad suas arbhar
fuidh làimh Pharaoih, agus gleidheadh
iad biadh 'sna bailtibh.
36 Agus bithidh am biadh *sin* 'na
thaisgeach

[a] *falamh, caocha.*

thaifgeach do'n tìr, fa chomhair nan
feachd bliadhna gortaidh a bhitheas
ann an tìr na h-Eiphit; chum as nach
d'théid as do'n tìr leis a' ghorta.
37 Agus bha chomhairle math [a]
ann an sùilibh Pharaoih, agus ann an
sùilibh a fheirbhifeach uile.
38 Agus thubhairt Pharaoh r'a
fheirbhifich, Am bheil e 'n comas
duinn a leithid fo do dhuine fhao-
tainn, anns *am bheil* fpiorad Dhé?
39 Agus thubhairt Pharaoh re Io-
feph, A thaobh gu'n d'fhoillfich Dia
fo uile dhuit, cha *n'eil* neach ann cho
tuigfeach agus cho ghlic riut féin.
40 Bithidh tu os cionn mo thighe-
fa, agus a réir t'fhocail bithidh mo
fhluagh uile air an riaghladh: a mhàin
'fan rìgh-chathair bithidh mife ni's mò
na thu.
41 Agus thubhairt Pharaoh re Io-
feph, Faic, chuir mi thu os cionn uile
thìr na h-Eiphit.
42 Agus thug Pharaoh fhàinne
bhàrr a làimh, agus chuir e air làimh
Iofeiph e; agus fgeadaich fe e ann an
trufgan do lion-eudach [b] grinn, agus
chuir e flabhruidh òir m'a mhuineal.
43 Agus thug e air marcachd 'fan
dara carbad a *bh*'aige féin; agus
ghlaodh iad roimhe, Lùbaibh an
glùn [c]: agus rinn fe e '*na uachdaran*
air tìr na h-Eiphit uile.
44 Agus thubhairt Pharaoh re Io-
feph, *Is* mife Pharaoh, agus as t'eug-
mhais-fa cha tog duine fuas a làmh no
a chos ann an tìr na h-Eiphit uile.
45 Agus thug Pharaoh Saphnat-
paaneah mar ainm air Iofeph; agus
thug e dha Afenat nighean Photi-
pheraih fhagairt Oin mar mhnaoi:
agus chaidh Iofeph a mach air feadh
uile thìr na h-Eiphit.
46 Agus *bha* Iofeph deich bliadhna
fichead a dh'aois an uair a fheas e 'm
fianuis Pharaoih rìgh na h-Eiphit:
agus chaidh Iofeph a mach o làthair
Pharaoih, agus chaidh e troimh [d] thìr
na h-Eiphit uile.
47 Agus thug an talamh a mach
anns na feachd bliadhnaibh pailteis
'na ghlacaidibh.
48 Agus chruinnich e r'a chéile
uile bhiadh nan feachd bliadhna, a bha
'n tìr na h-Eiphit; agus thaifg e fuas
biadh 'fna bailtibh: biadh fearainn
gach baile, a *bha* mu'n cuairt air,
thaifg e fuas ann.
49 Agus chuir Iofeph r'a chéile
sìol mar ghaineamh na fairge, ro-mhò-
ran, gus an do fguir e d'*a* àireamh;
oir *bha e* gun àireamh.
50 Agus do Iofeph rugadh dithis
mhac mun d'thàinig bliadhnacha na
gortaidh, a rug Afenat dha, nighean
Photipheraih fhagairt Oin.
51 Agus thug Iofeph Manafeh
mar ainm air a' cheud-ghin; oir thug
Dia orm, *ars' efan*, mo fhaothair uile
dhì-chuimhneachadh, agus tigh m'a-
thar uile.
52 Agus air an dara *mac* thug e
Ephraim mar ainm; oir thug Dia
orm, *ars' efan*, a bhi sìolmhar ann an
tìr m'àmhghair.
53 Agus chrìochnuicheadh feachd
bliadhnan a' phailteis a bha ann an tìr
na h-Eiphit.
54 Agus thòifich feachd bliadhnan
na gortaidh re teachd, mar a thubhairt
Iofeph; agus bha ghorta anns na
dùthchannaibh uile: ach ann an uile
thìr na h-Eiphit bha aran.
55 Agus an uair a bha tìr na
h-Eiphit uile ann an uireafbhuidh, 'an
fin ghlaodh an fluagh re Pharaoh air
fon arain: agus thubhairt Pharaoh
ris na h-Eiphitich uile, Rachaibh go Io-
feph; *an ni fin* a their e ruibh dean-
aibh.
56 Agus bha ghorta air aghaidh
na talmhain uile: agus dh'fhofgail Io-
feph na taifgeachan [e] uile, agus reic e
ris na h-Eiphitich: agus bhuadhaich
a' ghort' [f] ann an tìr na Eiphit.
57 Agus thàinig gach dùthaich
do'n Eiphit *a* dh'ionnfuidh Iofeiph a
cheannach *bìdh*; oir bhuadhaich a'
ghorta 'fgach dùthaich.

CAIB. XLII.

ANIS an uair a chunnaic Iacob
gu'n robh sìol [g] 'fan Eiphit,
thubhairt e r'a mhic, C'ar fon a ta fibh
ag amharc air a chéile?
2 Agus thubhairt e, Feuch, chuala
mi

[a] *Ka an ni math.* [b] *anart.* [c] *Athair-chaoimh.* [d] *romh; trìd.* Eir.
[e] *tighean-ftòir.* [f] *dh'fhàs a' ghorta geur.* [g] *gràn, arbhar.*

mi gu bheil siol 'ſan Eiphit: rachaibh
sios an ſin, agus ceannaichibh dhuinn
as ſin, chum as gu'm bi ſinn beò, agus
nach faigh ſinn bàs.
3 Agus chaidh deichnear bhràith-
rean Ioſeiph sios a cheannach sil 'ſan
Eiphit.
4 Ach cha do chuir Iacob Benia-
min bràthair Ioſeiph maille r'a bhràith-
ribh: oir thubhairt e, An t-eagal gu'n
éirich olc [a] dha.
5 Agus thàinig mic Iſraeil a chean-
nach *sil* 'am meaſg na muinntir a
thàinig: oir bha ghort' ann an tìr
Chanaain.
6 Agus bha Ioſeph 'na uachdaran
air an tìr: *B'* eſan a bha a' reiceadh
re ſluagh na tìre uile. Agus thàinig
bràithrean Ioſeiph, agus chrom ſiad
iad féin sios da, *le* 'n aghaidh gu làr.
7 Agus chunnaic Ioſeph a bhràith-
rean, agus dh'aithnich e iad, ach rinn
ſe e féin 'na choigreach dhoibh, agus
labhair e gu coimheach riu; agus
thubhairt e riu, Cia as a thàinig ſibh-
ſe? Agus thubhairt iadſan ris, A tìr
Chanaain a cheannach bìdh.
8 Agus dh'aithnich Ioſeph a bhràith-
rean, ach cha d'aithnich iadſan eſan.
9 Agus chuimhnich Ioſeph air na
h-aiſlingean a chunnaic e mu'n tim-
chioll, agus thubhairt e riu, *Is* luchd-
brathaidh [b] ſibh; a dh'fhaicinn lom-
nochdaidh na tìre thàinig ſibh.
10 Agus thubhairt iad ris, Cha
ſinn, mo thighearna, ach is ann a thàin-
ig do ſheirbhiſich a cheannach bìdh:
11 *Is* mic aon duine ſinne uile, *is*
daoine fìrinneach ſinn; cha luchd-
brathaidh do ſheirbhiſich.
12 Agus thubhairt eſan riu, Ni
h-eadh, ach is ann a dh'fhaicinn lom-
nochdaidh na tìre thàinig ſibh.
13 Agus thubhairt iad, *Is* dà brà-
thair dheug do ſheirbhiſich, mic aon
duine ann an tìr Chanaain; agus
feuch, *tha'm fear* a's òig' an diugh
maille r'ar n-athair, agus *tha* h-aon
nach maireann [c].
14 Agus thubhairt Ioſeph riu, So
an ni a thubhairt mi ribh, ag ràdh, *Is*
luchd-brathaidh ſibh.
15 Mar ſo dearbhar ſibh; mar is
beo Pharaoh, cha d'théid ſibh a mach
as ſo, mur d'thig bhur bràthair a's
òige 'n ſo.
16 Cuiribh uaibh fear agaibh, agus
thugadh e leis bhur bràthair, agus
gleidhear ſibhs' am prioſan [d], chum
as gu'n dearbhar bhur briathran, am
bheil no nach 'eil fìrinn annaibh: no
mar is beo Pharaoh, gu cinnteach *is*
luchd-brathaidh ſibh.
17 Agus chuir e 'n a prioſan iad uile
rè thri là.
18 Agus thubhairt Ioſeph riu air
an treas là, Deanaibh ſo, agus bithibh
beo: *oir* tha eagal Dé ormſa.
19 Ma '*s* daoine fìrinneach ſibh,
fàgar aon d'ar bràithribh ceangailte
'n tigh bhur prioſain: agus imichibh-
ſa, thugaibh leibh siol air ſon gortaidh
bhur teaghlaiche.
20 Ach thugaibh bhur bràthair a's
òig' a m' ionnſuidh; mar ſin dearbhar
bhur briathran [e], agus cha 'n fhaigh
ſibh bàs. Agus rinn iad mar ſin.
21 Agus thubhairt iad r'a chéile,
Tha ſinn gu deimhin ciontach a thaobh
ar bràthar, do bhrigh gu'm faca ſinn
cràdh anma, 'nuair a ghuidh e oirnn,
agus nach d'éiſd ſinn ris: uime ſin
thàinig an airc [f] ſo oirn.
22 Agus fhreagair Reuben iad, ag
ràdh, Nach do labhair miſe ribh, ag
ràdh, Na peacaichibh 'an aghaidh an
leinibh? agus cha d'éiſd ſibh: Uime
ſin feuch mar 'an ceudna tha fhuil air
a h-iarraidh *oirn*.
23 Agus cha robh fhios aca-ſan
gu'n *robh* Ioſeph '*g an* tuigſinn; *oir
bha* eadar-theangair eatorra.
24 Agus thionndaidh ſe e féin ua-
tha, agus ghuil e; agus phill e ris d'an
ionnſuidh, agus labhair e riu, agus
thug e Simeon uatha, agus cheangail
ſe e fa chomhair an sùl.
25 'An ſin dh'àithn Ioſeph an ſaic
a lionadh le siol, agus airgiod gach
duine chur air ais 'na ſhac, agus biadh
a thoirt doibh air ſon na ſlighe: agus
is ann mar ſo a rinn e riu.
26 Agus thog iad an siol air an
aſalaibh, agus dh'imich iad a ſin.
27 Agus an uair a dh'fhoſgail fear
ac' a ſhac, a thoirt bìdh d'a aſal 'ſan
tigh-òſda,

[a] *doſgaich, ſgiorradh, tubaist.* [b] *luchd-rannſachaidh.* [c] *nach 'eil ann.*
[d] *ceanglar ſibhſe,* Eabh. [e] *fìrinnichear bhur briathra.* [f] *truaidh-bhas.*

tigh-òsda, chunnaic e airgiod; oir feuch *bha* e 'm beul a shaic.

28 Agus thubhairt e r'a bhràithribh, Thugadh air ais m'airgiod-sa; agus feuch, *tha e* eadhon a'm' shac. Agus dh'fhàilingich an cridhe, agus bha eagal orra, ag ràdh gach fear r'a chéile, Ciod é so rinn Dia oirn?

29 Agus thàinig iad a chum Iacoib an athar, do thìr Chanaain, agus dh'innis iad dha gach ni thachair dhoibh, ag ràdh,

30 Labhair an duine ta 'na uachdaran air an tìr ruinn gu coimheach, agus ghabh e sinn mar luchd-brathaidh air an dùthaich.

31 Agus thubhairt sinn ris, *Is daoine* fìrinneach sinne: cha luchd-brathaidh *idir* sinn:

32 *Is* dà bhràthair dheug sinn, mic ar n-athar; *tha* aon *mhac* nach *maireann*, agus tha '*m mac* a's òige 'n diugh maille r'ar n-athair ann an tìr Chanaain.

33 Agus thubhairt an duine, uachdaran ua tìre ruinn, Mar so aithnichidh mi gur *daoine* fìrinneach sibh; fàgaibh aon d'ar bràithribh maille riumsa, agus gabhaibh *biadh* air son gortaidh bhur teaghlaichean, agus bithibh ag imeachd:

34 Agus thugaibh bhur bràthair a's òige a m' ionnsuidh; 'an sin bithidh fios agam nach luchd-brathaidh sibh, *ach* gur *daoine* fìrinneach sibh: *mar sin* bheir mise bhur bràthair dhuibh, agus ni sibh ceannachd 'san tìr.

35 Agus an uair a thaomaich iad an saic, feuch, *bha* ceanglachan airgid gach duine 'na shac féin, agus an uair a chunnaic iad féin agus an athair na ceanglachain airgid, bha eagal orra.

36 Agus thubhairt Iacob an athair riu, Thug sibh uamsa *mo chlann*: Ioseph cha *mhaireann*, agus Simeon cha *mhaireann*, agus Beniamin bheir sibh *air falbh*: m'agaidh-sa tha na nithe sin uile.

37 Agus labhair Reuben r'a athair, ag ràdh, Cuir gu bàs mo dhithis mhac, mur d'thoir mi t'ionnsuidh e: thoir thairis do m' làimh-sa e, agus bheir mis' a t'ionnsuidh a rìs e.

38 Agus thubhairt e, Cha d'théid mo mhac sìos maille ribh; oir tha bhràthair marbh, agus dh'fhàgadh esan 'na aonar: ma thachras olc dha 'san t-slighe air an d'théid sibh, 'an sin bheir sibh sìos m'fhalt liath le bròn do'n uaigh.

CAIB. XLIII.

AGUS *bha* ghorta ro-mhòr 'san tìr.

2 Agus an uair a dh'ith iad suas an sìol a thug iad as an Eiphit, thubhairt an athair riu, Rachaibh a rìs, ceannaichibh dhuinn beagan bìdh.

3 Agus labhair Iudah ris, ag ràdh, Thug an duine dearbh-chinnte dhuinn, ag ràdh, Cha'n fhaic sibh mo ghnùissa, mur *bi* bhur bràthair maille ribh.

4 Ma chuireas tu ar bràthair maille ruinn, théid sinn sìos agus ceannaichidh sinn biadh dhuit;

5 Ach mur cuir thu *leinn e*, cha d' théid sinn sìos: oir thubhairt an duine ruinn, Cha'n fhaic sibh mo ghnùis mur *bi* bhur bràthair maille ribh.

6 Agus thubhairt Israel, C'ar son a bhuin sibh *cho* olc rium, agus gu'n d'innis sibh do'n duine gu'n robh bràthair tuilleadh agaibh?

7 Agus thubhairt iad, Dh'fhiosraich an duine dhinn gu teann m'ar timchioll féin, agus mu thimchioll ar càirdean, ag ràdh, Am *bheil* bhur n-athair fathast beò? am bheil bràthair *eile* agaibh? Agus dh'innis sinne dha a réir bri' nam briathra sin: Am b'urradh sinne fios a bhi againn gu cinnteach gu'n abradh e, Thugaibh bhur bràthair a nuas?

8 Agus thubhairt Iudah re h-Israel athair, Cuir an t-òganach maille riumsa, agus éiridh sinn, agus imichidh sinn, a chum as gu'm bi sinn beò agus nach faigh sinn bàs, araon sinne, agus thu féin, *agus* mar an ceudna ar clann bheag.

9 Bithidh mis' a'm' urras air a shon; o m' làimh-sa iarraidh tu e: mur d'thoir mis' a t'ionnsuidh, agus mur cuir mi a'd' làthair e, 'an sin biodh a' choire gu bràth orm [a].

10 Oir mur bitheamaid air deanamh

[a] *bitheamsa fuidh 'n choir-iomchar gu bràth.*

tamh moille, gu cinnteach bha ſinn a
nis air pilltinn air ar n-ais an dara
uair ſo.
11 Agus thubhairt Iſrael an athair
riu, *Ma dh'fheumas a' chùis a bhi* mar
ſin a nis, deanaibh ſo; gabhaibh do'n
toradh [a] a's fearr 'ſan tìr 'nar ſoithich-
ibh [b], agus thugaibh sìos tiodhlac
do'n duine; beagan ioc-ſhlaint, agus
beagan meala, ſpìoſraidh, agus mirr
cnothan [c], agus almoine:
12 Agus thugaibh leibh airgiod
dùbailte [d] 'nar làimh, agus an t-air-
giod a thugadh air ais 'am beul bhur
ſac, thugaibh air ais e 'nar laimh;
theagamh gur mearachd a bh'ann.
13 Gabhaibh mar an ceudna bhur
bràthair; agus éiribh, rachaibh a rìs
a dh'ionnſuidh an duine.
14 Agus gu'n d'thugadh Dia uile-
chumhachdach tròcair dhuibh 'an la-
thair an duine, chum as gu'n leig e
air falbh leibh bhur bràthair eile, a-
gus Beniamin: ach ma 'chaill miſe
mo chlann, chaill mi *iad*.
15 Agus ghabh na daoin' an tiodh-
lac ſin, agus thug iad leo airgiod dù-
bailte 'nan laimh, agus Beniamin; a-
gus dh'éirich iad, agus chaidh iad sìos
do'n Eiphit, agus ſheas iad 'an làthair
Ioſeiph.
16 Agus an uair a chunnaic Ioſeph
Beniamin maille riu, thubhairt e re
fear-riaghlaidh a thighe, Thoir na
daoine *ſin* dachaidh, agus marbh, agus
deaſaich; oir maille riumſa ithidh na
daoine *sin* air mheadhon-là.
17 Agus rinn an duine mar a
dh'iarr Ioſeph; agus thug e na daoine
do thigh Ioſeiph.
18 Agus bha eagal air na daoine,
chionn gu'n d'thugadh iad do thigh
Ioſeiph, agus thubhairt iad, *'S ann* air
ſon an airgid, a chuireadh air ais 'nar
ſacaibh a' cheud uair a thugadh a ſtigh
ſinn; chu'm gu faigh e cion-fath 'nar
n-aghaidh, agus gu'n tuit e oirn [e], a-
gus gu'n gabh e ſinn mar thràillean [f],
agus ar n-aſail.
19 Agus thàinig iad am fagus do
fhear-riaghlaidh tighe Ioſeiph, agus
labhair iad ris aig dorus an tighe,
20 Agus thubhairt iad, O mo
thighearna, thàinig ſinn da rìreadh a
nuas 'an toiſeach a cheannach bìdh.
21 Agus an uair a thàinig ſinn do'n
tigh-òſda, agus a dh'fhoſgail ſinn ar
ſaic, feuch, *bha* airgiod gach fir am
beul a ſhaic, ar n-airgiod 'na làn cho-
throm: agus thug ſinn air ais leinn e
'nar làimh.
22 Agus airgiod eile thug ſinn a
nuas leinn 'nar làimh a cheannach
bidhe: cha 'n'eil fhios againn cò
chuir ar n-airgiod 'nar ſacaibh.
23 Agus thubhairt e, Sìth *gu robh*
dhuibh, na biodh eagal oirbh: thug
bhur Dia féin, agus Dia bhur n-athar
ionmhas duibh 'nar ſacaibh: fhuair
miſe bhur n-airgiod. Agus thug e Si-
meon a mach d'an ionnſuidh.
24 Agus thug an duine na daoine
ſteach do thigh Ioſeiph, agus thug e
uiſge *dhoibh*, agus nigh iad an coſa [g],
agus thug e biadh d'an aſalaibh.
25 Agus dh'ulluich iad an tiodhlac
'an coinneamh do Ioſeph teachd aig
meadhon-là; oir chual' iad gu'n robh
iad gu aran itheadh 'an ſin.
26 Agus an uair a thàinig Ioſeph
dhachaidh [h], thug iad d'a ionnſuidh
an tiodhlac, a bha 'nan làimh, do'n
tigh: agus chrom ſiad iad féin dha
gu làr.
27 Agus dh'fheòraich e 'n robh iad
gu math, agus thubhairt e, Am bheil
bhur n-athair, an ſeann duine mu'n
do labhair ſibh, gu math? Am *bheil* e
fathaſt beo?
28 Agus thubhairt iadſan, *Tha* do
ſheirbhiſeach ar n-athair-*ne* gu math;
tha e fathaſt beo: agus chrom ſiad iad
féin sìos, agus rinn iad ùmhlachd.
29 Agus thog e ſuas a ſhùilean, a-
gus chunnaic e Beniamin a bhràthair,
mac a mhàthar, agus thubhairt e, An
e ſo bhur bràthair a's òige, mu'n do
labhair ſibh rium? Agus thubhairt e,
Gu'n robh Dia gràsmhor dhuit, a
mhic.
30 Agus rinn Ioſeph cabhag, oir
bha chridhe a' tiomachadh r'a bhràth-
air; agus dh'iarr e *àit'* anns an guil-
eadh e: agus chaidh e ſteach *d'a*
ſheòmar, agus ghuil e 'n ſin.
31 Agus nigh e eudan, agus chaidh
e mach,

[a] *do'n mheas.* [b] *ſoirrichibh.* [c] *cnuthan.* [d] *dà-fhillte.*
[e] *gu'n leum, buail e oirn.* [f] *mar dhaoine daor.* [g] *caſan.* [h] *dhathigh.*

e mach, agus chum e air féin, agus
thubhairt e, Cuiribh sìos aran.
32 Agus chuir iad sìos dhasan leis
féin, agus dhoibhsan leo féin, agus do
na h-Eiphitich, a dh'ith maille ris, leo
féin: a chionn nach feudadh na h-Ei-
phitich aran itheadh maille ris na
h-Eabhruidhich; oir *is* gràineileachd
sin do na h-Eiphitich.
33 Agus shuidh iad sìos 'na làthair,
an ceud-ghin a réir a chòir-breith[a],
agus am fear a b'òige a réir òige: a-
gus ghabh na daoine iongantas *gach*
fear r'a chéile.
34 Agus ghabh esan, *agus chuir* e
cuibhrionnan o làthair féin d'an ionn-
suidh: ach rinn e cuibhrionn Bhen-
iamin cùig uaire ni bu mhò na cuid a
h-aon aca-san. Agus dh'òl iad, agus
bha iad subhach[b] maille ris.

CAIB. XLIV.

AGUS dh'àithn e do fhear-riagh-
laidh[c] a thighe, ag ràdh, Lìon
saic nan daoine le sìol 'a mheud 's is
urradh iad a ghiùlan, agus cuir air-
giod *gach* duine 'am beul a shaic.
2 Agus cuir mo chupans', an cupan
airgid, 'am beul saic an fhir a's òige,
agus airgiod a shìl: agus rinn e réir
an fhocail a labhair Ioseph.
3 Co luath 's a bha mhadainn soil-
leir, chuireadh na daoin' air falbh, iad
féin agus an asail.
4 *Agus* an uair a chaidh iad a mach
as a' bhaile, agus gun iad *fathast* fad' o
làimh, thubhairt Ioseph re fear-riagh-
laidh a thighe, Eirich, lean na daoine;
agus an uair a bheireas tu orra, abair
riu, C'ar son a dhìol sibh olc 'an éiric
maith[d]?
5 Nach e so *an cupan* as am bheil
mo thighearn ag òl? agus leis am
bheil e da rìreadh a' deanamh
fiosachd? is olc a fhuara sibh so a
dheanamh.
6 Agus rug e orra, agus labhair e
riu na briathra ceudna.
7 Agus thubhairt iad ris, C'ar son
a labhras mo thighearna na briathra
so? nar leigeadh Dia gu'n deanadh do
sheirbhisich a réir an ni so.
8 Feuch, an t-airgiod a fhuair sinn
'am beul ar sac, thug sinn a ris a
t'ionnsuidh a tìr Chanaain; cionnas
uime sin a ghoideamaid airgiod no òr
a tigh do thighearna?
9 Cia b'e *air bith* do d'sheirbhisich
aig am faighear e, cuirear gu bàs esan,
agus bithidh sinne mar an ceudna 'nar
tràillean aig mo thighearna.
10 Agus thubhairt e, A nis ma ta
bitheadh e réir bhur briathra: bithidh
esan aig am faighear e 'na sheirbhis-
each agamsa; agus bithidh sibhse neo-
choireach.
11 'An sin thug iad a nuas gu grad
gach duine a shac féin gu làr, agus
dh'fhosgail *gach* duine a shac.
12 Agus rannsaich esan, *agus* thòi-
sich[e] e aig an fhear bu shine, agus
sguir e aig an fhear a b'òige: agus
fhuaradh an cupan ann an sac Bhen-
iamin.
13 'An sin reub iad an eudach, agus
chuir *gach* duine a shac air asail, agus
phill iad do'n bhaile.
14 Agus thàinig Iudah, agus a
bhràithre do thigh Ioseph (oir *bha* e
fathast 'an sin) agus thuit iad sìos 'na
fhianuis air an làr.
15 Agus thubhairt Ioseph riu, Ciod
é 'n gnìomh so a rinn sibh? nach robh
fhios agaibh gur aithne do m' leithidse
do dhuine da rìreadh fiosachd a
dheanamh?
16 Agus thubhairt Iudah, Ciod a
their sinn re m' thighearna? cionnas
a labhras sinn? no cionnas a ghlanas
sinn sinn féin? fhuair Dia a mach
aingidheachd do sheirbhiseach: feuch,
tha sinne 'nar seirbhisich do m' thigh-
earna, araon sinne, agus esan mar an
ceudna aig[f] an d'fhuaradh an cupan.
17 Agus thubhairt e, Nar leigeadh
Dia gu'n deanainnse so: ach an duine
aig an d'fhuaradh an cupan, bithidh
esan 'na sheirbhiseach agamsa; agus
d'ar taobhsa, rachaibh suas 'an sìth a
dh'ionnsuidh bhur n-athar.
18 'An sin thàinig Iudah am fagus
da, agus thubhairt e, Och mo thigh-
earna, leig le d' sheirbhiseach, guid-
heam ort, focal a labhairt ann an
cluasaibh mo thighearna, agus na
lasadh t'fhearg 'an aghaidh do sheir-
bhisich:

C

[a] *a cheirt-beirthe*, Eir. [b] *sriodhail.* [c] *stiùbhard.* [d] *olc air son maith.*
[e] *thòisich*, [f] *'na làimh*, Eabh.

bhifich: oir *is* amhuil thusa agus
Pharaoh.

19 Dh'fheòraich mo thighearna d'a
fheirbhifich, ag ràdh, Am bheil athair
agaibh, no bràthair?

20 Agus thubhairt finn re m'
thighearna, Tha athair againn, feann
duine, agu leanabh a fhean aois,
maothran: agus tha bhràthair marbh,
agus dh'fhàgadh efan 'na aonar *do
chloinn* a mhàthar, agus tha gràdh aig
athair air.

21 Agus thubhairt thu re d' fheir-
bhifich, Thugaibh a nuas e do m'
ionnfuidhs', a chum as gu'n focruich mi
mo fhùilean air.

22 Agus thubhairt finne re m'
thighearna, Cha'n fheud an leanabh
athair fhàgail: oir nam fàgadh e a-
thair, gheibheadh *athair* bàs.

23 Agus thubhairt thusa re d'
fheirbhifich, Mur d'thig bhur bràthair
a's òige 'nuas maille ribh, cha'n fhaic
fibh m'aghaidhfa ni's mò.

24 Agus an uair a chaidh finne
fuas a dh'ionnfuidh do fheirbhifich
m'athar, dh'innis finn da focail mo
thighearna.

25 Agus thubhairt ar n-athair,
Rachaibh a rìs, ceannaichibh dhuinn
beagan bìdh.

26 Agus thubhairt finne, Cha'n
fheud finn dol sìos: ma bhios ar
bràthair as òige maille ruinn, 'an fin
théid finn sìos; oir cha'n fheud finn
aghaidh an duine fhaicinn, mar *bi* ar
bràthair a's òige maille ruinn.

27 Agus thubhairt do fheirbhifeach
m'athair ruinn, Tha fhios agaibh
gu'n do rug mo bhean dithis *mhac*
dhomh.

28 Agus chaidh aon *diubh* a mach
uam, agus thubhairt mi, Gu cinnteach
reubadh 'na bhloighdibh e; agus
cha'n fhaca mi o fin e.

29 Agus ma bheir fibh *am mac* fo
uam mar an ceudna, agus gu'n d'thig
tubaift air, bheir fibh sìos m'fhalt
liath le bròn do'n uaigh.

30 A nis uime fin, an uair a thig
mis' a dh'ionnfuidh do fheirbhifich
m'athar, gun an leanabh maille ruinn;
(do bhri' gu bheil anam-fa ceangailt'
ann an anam an leinibh);

31 Tarlaidh, 'nuair a chi e nach
'eil an leanabh *maille ruinn*, gu'm faigh
e bàs: agus bheir do fheirbhifeach
sìos falt liath do fheirbhifich ar n-athar
le bròn do'n uaigh.

32 Oir chaidh do fheirbhifeach 'an
urras air fon an leinibh do m'athair,
ag ràdh, Mur d'thoir mi a't' ionnfuidh
e, 'an fin bithidh mi fui' choire aig
m'athair gu bràth.

33 A nis uime fin, guidheam ort,
leig le d' fheirbhifeach fantuinn 'an
àit' an leinibh, a'm' thràill do m'
thighearna; agus leig leis an leanabh
dol fuas maille r'a bhràithribh.

34 Oir cionnas a théid mise fuas a
dh'ionnfuidh m'athar, agus gun an
leanabh maille rium? an t-eagal gu
faic mi 'n t olc a thig air m'athair.

CAIB. XLV.

AGUS cha b'urrainn Iofeph cu-
mail air féin 'nan làthair-fan uile
a fheas làimh ris; agus ghlaodh e,
Cuiribh gach duine mach uam: agus
cha do fheas duine fam bith maille ris,
an uair a rinn Iofeph e féin aithnichte
d'a bhràithribh.

2 Agus ghuil e gu h-àrd: agus
chuala na h-Eiphitich, agus tigh Pha-
raoih e.

3 Agus thubhairt Iofeph r'a bhràith-
ribh, *Is* mise Iofeph; am bheil m'a-
thair fathaft beo? agus cha b'urrainn a
bhràithrean a fhreagairt; oir bha ea-
gal orra roimh a làthair-fan.

4 Agus thubhairt Iofeph r'a bhràith-
ribh, Thigibh am fagus domh, guidh-
eam oirbh; agus thàinig iad am fagus:
Agus thubhairt efan, *Is* mise Iofeph
bhur bràthar, a reic fibhfe do'n Ei-
phit.

5 Agus a nis na biodh doilgheas
oirbh, no corruich agaibh ribh féin, a
chionn gu'n do reic fibh mise 'n fo[a];
oir chuir Dia romhaibh mi gu *sibhs'*
a ghleidheadh beo:

6 Oir rè an dà bhliadhna-fa *bha*
ghorta 'fan tìr, agus *tha* fathaft cùig
bliadhna *re teachd*, anns nach *bi* aon
chuid treabhadh no foghar.

7 Agus chuir Dia mise romhaibh,
a ghleidheadh dhuibhse iarmaid [b] air
thalamh,

[b] *do*'n dùthaich *sic*.

thalamh, agus a thearnadh bhur beatha
le fuasgladh mòr.
8 A nis uime sin cha sibhs' a chuir
mis' 'an so, ach Dia; agus rinn e mi
a'm' athair do Pharaoh, agus a'm'
thighearna os cionn a thighe uile, agus
a'm' uachdaran ann an tìr na h-Eiphit
uile.
9 Deanaibh cabhag, agus rachaibh
suas a chum m'athar, agus abraibh ris,
Mar so thubhairt do mhac Ioseph,
Rinn Dia mis' a'm' uachdaran air an
Eiphit uile; thig a nuas a'm' ionn-
suidh, na dean moille:
10 Agus gabhaidh tu còmhnuidh
'am fearann Ghosein, agus bithidh
tu'm fagus dhomhsa, thu *féin*, agus do
chlann, agus clann do chloinne, agus
do threudan, agus do bhuar [a], agus
gach ni a *ta* agad.
11 Agus beathaichidh mise thu 'n
sin (oir fathast *bithidh* cùig bliadhna
gorta ann) an t-eagal gu'n d'thig thu
féin, agus do theaghlach, agus gach ni
a tà agad, gu bochdainn.
12 Agus feuch, tha bhur sùilean a'
faicinn, agus sùilean mo bhràthar
Bheniamin, gur e mo bheul féin a tha
labhairt ribh.
13 Agus innsidh sibh do m'athair
mo ghlòir-sa uile 'san Eiphit, agus
gach ni a chunnaic sibh; agus ni sibh
cabhag, agus bheir sibh a nuas m'athair
'an so.
14 Agus thuit e air muineal [b] a
bhràthar Beniamin, agus ghuil e;
agus ghuil Beniamin air a mhuineal-
san.
15 Phòg e mar an ceudna a bhrài-
threan uile, agus ghuil e os an ceann:
agus 'na dhéigh sin rinn a bhràithrean
cainnt ris.
16 Agus chualas iomradh so ann an
tigh Pharaoih, ag ràdh, Tha bràithrean
Iosеiph air teachd: agus thaitinn e gu
math re Pharaoh, agus r'a sheirbhi-
sich.
17 Augus thubhairt Pharaoh re Io-
seph, Abair re d' bhràithribh, Deanaibh
so, sacaichibh bhur n-ainmhidhean, agus
imichibh, rachaibh do thìr Chanaain.
18 Agus thugaibh leibh bhur n-ath-
air, agus bhur teaghlaichean, agus
thigibh a m' ionnsuidhs', agus bheir
mise dhuibh math tìre na h-Eiphit;
ithidh sibh reamhrachd na tìre.
19 A nis thugadh àithne dhuit;
deanaibhse mar so: thugaibh leibh
a tìr na h-Eiphit carbadan air son
bhur cloinne bige, agus bhur ban, agus
thugaibh bhur n-athair leibh, agus
thigibh.
20 Agus na biodh suim agaibh d'ar
n-airneis-tighe; oir is leibhsa math
tìre na h-Eiphit uile.
21 Agus rinn clann Israeil mar sin:
agus thug Ioseph dhoibh carbadan a
réir ordugh Pharaoih; agus thug e
dhoibh lòn [c] air son na slighe.
22 Thug e dhoibh uile do gach aon
diubh sa leth culaidhean eudaich [d];
ach do Bheniamin thug e tri cheud
bonn airgid, agus cùig culaidhean
eudaich.
23 Agus chuir e dh'ionnsuidh athar
mar so: deich asail a' giùlan do nith-
ibh matha na h-Eiphit, agus deich
asail bhainionn a giùlan sìl, agus arain,
agus lòin d'an athair air son na
slighe.
24 Mar sin chuir e bhràithrean air
falbh, agus dh'imich iad: agus thubh-
airt e riu, Feuchaibh nach cuir sibh
a mach air a' chéile air an t-slighe.
25 Agus chaidh iad suas as an Ei-
phit, agus thàinig iad gu tìr Chanaain
a dh'ionnsuidh Iacoib an athar.
26 Agus dh'innis iad da, ag ràdh,
Tha Ioseph fathast beo, agus *tha* e na
uachdaran air tìr na h-Eiphit uile.
Agus dh'fhannaich [e] cridhe Iacoib; oir
cha do chreid e iad.
27 Agus dh'innis iad da uile
bhriathran Iosеiph, a labhair e riu:
Agus an uair a chunnaic e na car-
badan a chuir Ioseph g'a ghiùlan,
dh'ath-bheothaich spiorad Iacoib an
athar.
28 Agus thubhairt Israel, *Is* leòr *e;*
tha Ioseph mo mhac fathast beo:
théid mi agus chi mi e mum faigh mi
bàs.

C A I B XLVI.

AGUS dh'imich Israel maille ris
gach ni a bh'aige, agus thàinig
e gu Beer-seba, agus thug e suas
iobairtean do Dhia athar Isaaic.

2 Agus

[a] *chrodh.* [b] *leum e mu mhuineal.* [c] *biadh.* [d] *atharrachadh culaidh,* Eabh.
[e] *lagadh, lagdiche*

2 Agus labhair Dia re h-Israel ann
an taisbeanaibh[a] na h-oidhche, agus
thubhairt e, A Iacoib, a Iacoib: Agus
thubhairt esan, *Tha* mi 'n so.

3 Agus thubhairt e, *Is* mise Dia,
Dia t'athar: na biodh eagal ort dol
sìos do'n Eiphit; oir ni mis' a'd'
chinneach mòr thu 'an sin.

4 Théid mise maille riut sìos do'n
Eiphit; agus bheir mi mar an ceudna
gu cinnteach a nìos thu *ris*: agus
cuiridh Ioseph a làmh air do shùilibh.

5 Agus dh'éirich Iacob suas o
Bheer-seba: agus thug mic Israeil leo
Iacob an athair, agus an clann bheag,
agus am mnai, anns na carbadaibh a
chuir Pharaoh g'a ghiùlan.

6 Agus ghabh iad an spréidh, agus
am maoin, a fhuair iad ann an tìr
Chanaain, agus thàinig iad do'n Ei-
phit, Iacob, agus a shliochd uile maille
ris;

7 A mhic, agus mic a mhac maille
ris, a nigheana, agus nigheanan a
mhac, agus a shliochd uile thug e
maille ris do'n Eiphit.

8 Agus *is* iad so ainmeanna chloinn
Israeil, a thàinig do'n Eiphit, Iacob
agus a mhic: Reuben, ceud-ghin
Iacoib.

9 Agus mic Reubein; Hanoch, a-
gus Phallu, agus Hesron, agus Carmi.

10 Agus mic Shimeoin; Iemuel,
agus Iamin, agus Ohad, agus Iachin,
agus Sohar, agus Saul mac Ban-
chanaanaich.

11 Agus mic Lebhi; Gerson, Co-
hat, agus Merari.

12 Agus mic Iudaih; Er, agus O-
nan, agus Selah, agus Phareds, agus
Serah: ach fhuair Er agus Onan bàs
ann an tìr Chanaain. Agus b'iad
mic Phareds, Hesron, agus Hamul.

13 Agus mic Isachair; Tola, agus
Phubhah, agus Iob, agus Simron.

14 Agus mic Shebuluin; Sered, a-
gus Elon, agus Iahleel.

15 *Is* iad sin mic Leaih, a rug i do
Iacob 'am Padan-aram, maille r'a
nighinn Dinah: *b'iad* uile anman a
mhac agus a nigheana tri-deug 'ar
fhichead.

16 Agus mic Ghaid; Siphion, a-
gus Hagai, Suni, agus Esbon, Heri a-
gus Arodi, agus Areli.

17 Agus mic Aseir; Imnah, agus
Isuah, agus Isui, agus Beriah, agus Se-
rah am piuthar. Agus mic Bheriaih;
Heber, agus Malchiel.

18 *Is* iad sin mic Shilpaih, a thug
Laban d'a nighinn Leah; agus rug i
iad sin do Iacob, *eadhon* sè anmanna
deug.

19 Mic Racheil mnà Iacoib; Io-
seph, agus Beniamin.

20 Agus rugadh do Ioseph ann an
tìr na h-Eiphit, Manaseh agus Eph-
raim, a rug Asenat nighean Photi-
pheraih sagairt Oin dha.

21 Agus *b'iad* mic Bheniamin; Be-
lah agus Becher, agus Asbel, Gera, a-
gus Naaman, Ehi, agus Ros, Mupim,
agus Hupim, agus Ard.

22 *Is* iad sin mic Racheil, a rugadh
do Iacob: na h-anman uile, ceithir-
deug.

23 Agus mic Dhain; Husim.

24 Agus mic Naphtali; Iahseel, a-
gus Guni, agus Iedser, agus Sillem.

25 *Is* iad sin mic Bhilhaih, a thug
Laban d'a nighinn Rachel, a rug i do
Iacob: na h-anman uile, seachdnar.

26 Na h-anman uile a thàinig le
Iacob do'n Eiphit, a thàinig a mach as
a leasruidh, a thuilleadh air mnaibh
mhac Iacoib; *b'iad* na h-anmanna
so uile tri fichead 's a sè.

27 Agus mic Ioseiph a rugadh dha
'san Eiphti, *bu* dhà anam *iad:* uile
anmanna thighe Iacoib, a thàinig do'n
Eiphit, *bu* tri fichead 's a deich *iad.*

28 Agus chuir e Iudah roimhe gu
Ioseph, chum as gu'n d'thugadh e fios
dha *teachd* 'na làthair ann an Gosen[b];
agus thàinig iad gu fearann Ghosein.

29 Agus bheartaich Ioseph a char-
bad, agus chaidh e suas 'an coinneamh
Israeil athar gu Gosen; agus nochd
se e féin da, agus thuit e air a mhui-
neal, agus ghuil e air a mhuineal rè
tamuill.

30 Agus thubhairt Israel re Ioseph,
Faigheams' a nis bàs, o chunnaic mi
do ghnùis, do bhrìgh gu *bheil* thu
fathast beo.

31 Agus thubhairt Ioseph r'a
bhràithribh, agus re teaghlach athar,
Théid mise suas, agus cuiridh mi 'n
céill do Pharaoh, agus their mi ris,
Tha mo bhràithrean, agus teaghlach,
m'athar,

[a] *seallaibh, aislingibh.*

[b] *chum gu'n seòladh e air aghaidh e gu Gosen.*

m' athar, a *bha* ann an tìr Chanaain,
air teachd a'm' ionnsuidh:
32 Agus *is* buachaillean[a] na daoine,
oir bu luchd-spréidhe[b] iad; agus
thug iad leo an treudan, agus am feudail[c], agus gach ni *bh'* aca.
33 Agus tarlaidh 'nuair a ghairmeas
Pharaoh oirbh, agus a their e, Ciod *is*
ceird duibh?
34 Gu'n abair sibhse, Bu luchd-spréidhe do sheirbhisich o'r n-òige
eadhon gus a nis, sinn féin *agus* mar
an ceudna ar n-aithreacha; chum as
gu'n gabh sibh còmhnuidh ann am
fearann Ghosein, oir *is* gràineileachd
do na h-Eiphitich gach buachaille
spréidhe.

CAIB. XLVII.

AN sin thàinig Ioseph agus dh'innis e do Pharaoh, agus thubhairt e, Thàinig m'athair agus mo
bhràithrean, agus an treudan, agus
am feudail, agus gach ni a *bh'* aca, a
mach a tìr Chanaain; agus feuch, *tha*
iad ann am fearann Ghosein.
2 Agus ghabh e cùignear d'a
bhràithribh, agus chuir e 'n làthair
Pharaoih iad.
3 Agus thubhairt Pharaoh r'a
bhràithribh. Ciod *is* ceird duibh?
Agus thubhairt iadsan re Pharaoh, *Is*
buachaillean do sheirbhisich, sinn féin
agus ar n-aithreacha.
4 Thubhairt iad mar an ceudna re
Pharaoh, '*S ann* gu bhi air chuairt
anns an tìr a thàinig sinn; oir cha
n'eil feur aig do sheirbhisich d'an
spréidh, do bhrìgh gu bheil a' ghorta
mòr ann an tìr Chanaain: a nis uime
sin guidheamaid ort leig le d' sheirbhisich còmhnuidh ghabhail 'am
fearann Ghosein.
5 Agus labhair Pharaoh re Ioseph,
ag ràdh, Thàinig t'athair agus do
bhràithrean a't' ionnsuidh:
6 Tha tìr na h-Eiphit romhad;
anns a' chuid a's fearr do'n fhearann
thoir air t'athair agus do bhràithribh
còmhnuidh a ghabhail; gabhadh iad
còmhnuidh 'am fearann Ghosein: agus
ma's aithne dhuit gu bheil 'nam measg
daoine comasach[d], ni thu iad 'nan ard
bhuachaillibh air mo spréidh-sa.
7 Agus thug Ioseph Iacob athair a
stigh, agus chuir e'n làthair Pharaoih
e: agus bheannaich Iacob Pharaoh.
8 Agus thubhairt Pharaoh re Iacob, Ciod is aois dhuit?
9 Agus thubhairt Iacob re Pharaoh,
'*S iad* làì bliadhnacha mo chuairte[e]
ceud agus deich bliadhna fichead: Bu
tearc agus olc làì bliadhnacha mo
bheatha, agus cha d'ràinig iad làì
bliadhnacha beatha m' aithreacha ann
an laithibh an cuairte-san.
10 Agus bheannaich Iacob Pharaoh, agus chaidh e mach as làthair
Pharaoih.
11 Agus shuidhich Ioseph athair,
agus a bhràithrean, agus thug e
dhoibh sealbh ann an tìr na h-Eiphit,
anns a' chuid a's fearr do'n fhearann,
ann am fearann Rameseis, mar a
dh'àithn Pharaoh.
12 Agus bheathaich Ioseph athair,
agus a bhràithrean, agus uile theaghlach athar le h-aran, a réir *an* cloinne.
13 Agus cha *robh* aran anns an tìr
uile; oir *bha* ghorta ro-mhòr, air
chor as gu'n robh talamh na h-Eiphit,
agus tìr Chanaain *uile* fann[f] leis a'
ghorta.
14 Agus chruinnich Ioseph an t-airgiod uile a fhuaradh ann an tìr na
h-Eiphit, agus ann an tìr Chanaain, air son a' bhìdh a cheannaich
iad: agus thug Ioseph an t-airgiod do
thigh Pharaoih.
15 Agus an uair a theirig airgiod
ann an tìr na h-Eiphit, agus ann an
tìr Chanaain, thàinig na h-Eiphitich
uile gu Ioseph, ag ràdh, Thoir dhuinn
aran; c'ar son a gheibheamaid bàs
a'd' làthair? oir theirig *ar n-*airgiod.
16 Agus thubhairt Ioseph, Thugaibh seachad bhur spréidh, agus bheir
mise dhuibh air son bhur spréidhe,
ma theirig airgiod *dhuibh*.
17 Agus thug iad an spréidh gu
Ioseph: agus thug Ioseph dhoibh aran
air son each, agus air son nan caorach,
agus air son a' chruidh, agus air son
nan asal; agus bheathaich e iad le h-aran, air son an spréidh uile, air a'
bhliadhna sin.
18 'Nuair a chrìochnaicheadh a'
bhliadhna

G

[a] *aodhairean.* [b] *àirich.* [c] *am buar, an tàin.* [d] *tapaidh.* [e] *m' eilthire.*
[f] *lag, anfhann.*

bliadhna sin, thàinig iad d'a ionnsuidh air an dara bliadhna, agus thubhairt iad ris, Cha cheil sinne air mo thighearna gu'n do chaitheadh ar n-airgiod; tha mar an ceudna *ar* treudan spréidh aig mo thighearna: cha d'fhàgadh ann an sealladh mo thighearna ach ar cuirp agus ar fearann.

19 C'ar son a gheibh sinn bàs fa chomhair do shùl, araon sinne agus ar fearann? Ceannaich sinne agus ar fearann air son arain, agus bithidh sinne agus ar fearann 'nar seirbhisich do Pharaoh: agus thoir *dhuinn* siol, chum as gu'n bi sinn beo, agus nach faigh sinn bàs, agus nach bi am fearann 'na fhàsach.

20 Agus cheannaich Ioseph fearann na h-Eiphit uile do Pharaoh; oir reic na h-Eiphitich gach duine fhearann féin, a chionn gu'n do bhuadhaich a' ghorta orra: mar sin bu le Pharaoh an talamh.

21 Agus a thaobh an t sluaigh, chuir e imrich iad [a] do bhailtibh o aon cheann chrìocha na h-Eiphit, eadhon gu ruig an ceann *eile* dhith:

22 A mhàin fearann nan sagart cha do cheannaich e; oir *dh'orduicheadh* cuibhrionn do na sagartaibh le Pharaoh, agus dh'ith iad an cuibhrionn a thug Pharaoh dhoibh: uime sin cha do reic iad am fearann.

23 Agus thubhairt Ioseph ris an t-sluagh, Feuch, cheannaich mi sibh an diugh, agus bhur fearann do Pharaoh: feuch, *so* siol duibh, agus cuiribh am fearann.

24 Agus tarlaidh [b], do na chinneas gu'n d'thoir sibh an cùigeadh *cuid* do Pharaoh, agus bithidh agaibh féin ceithir earrannan [c], air son sìl an fhearainn, agus air son bhur bìdh, agus air son muinntir bhur teaghlacha, agus air son bìdh d'ar cloinn-bhig.

25 Agus thubhairt iadsan, Ghleidh thu beo sinn: faigheamaid deagh-ghean ann an sealladh mo thighearna, agus bithidh sinn 'nar seirbhisich do Pharaoh.

26 Agus rinn Ioseph sin 'na lagh gus an là 'n diugh air feadh fhearainn na h-Eiphit, gu'm bitheadh aig Pharaoh an cùigeadh *cuid*; saor a mhàin o fhearann nan sagart, nach bu le Pharaoh.

27 Agus ghabh Israel còmhnuidh ann an tìr na h-Eiphit, ann an talamh Ghosein; agus bha sealbh aca ann, agus shìolaich iad, agus dh'fhàs iad ro-lìonmhor.

28 Agus bha Iacob beo ann an tìr na h-Eiphit seachd bliadhna deug: agus b'iad bliadhnacha beatha Iacoib uile ceud agus dà fhichead agus seachd bliadhna.

29 Agus dhlùthaich an t-àm anns am b'éigin do Israel bàs fhaghail: agus ghairm e air a mhac Ioseph, agus thubhairt e ris, Ma fhuair mi nis deagh-ghean a'd' shealladh, cuir, guidheam ort, do làmh fuidh m'leis-d, agus buin gu caoimhneil agus gu firinneach rium; na h-adhlaic mi, guidheam ort, 'san Eiphit.

30 Ach luidhidh mi maille re m' aithreachaibh: agus giùlainidh tu mi mach as an Eiphit, agus adhlaicidh tu mi 'nan àit'adhlaic-san. Agus thubhairt esan, Ni mi mar a thubhairt thu.

31 Agus thubhairt e, Mionnaich dhomh: agus mhionnaich e dha. Agus chrom Israel e féin air ceann adhairt na leapach.

C A I B. XLVIII.

AGUS 'an déigh nan nithe sin, dh'innis *neach* do Ioseph, Feuch, tha t'athair tinn: agus thug e leis a dhà mhac, Manaseh agus Ephraim.

2 Agus dh'innis *neach* do Iacob, agus thubhairt e, Feuch, tha do mhac Ioseph a' teachd a't' ionnsuidh: agus neartaich Israel e féin, agus shuidh e air an leabaidh.

3 Agus thubhairt Iacob re Ioseph, Dh'fhoillsich Dia uile-chumhachdach e féin dhomhsa aig Luds ann an tìr Chanaain, agus bheannaich e mi,

4 Agus thubhairt e rium, Feuch, ni mise siolmhar agus lionmhor thu, agus ni mi thu a'd' choi'-thional chinneach [e], agus bheir mi am fearann so do d'shliochd a'd' dhéigh, mar sheilbh shiorruidh.

5 Agus a nis do dhithis mhac, Ephraim agus Manaseh, a rugadh dhuit ann an tìr na h-Eiphit, mun d'thàinig mis' a't' ionnsuidh do'n Eiphit, is le mise iad; mar Reuben agus

[a] *dh'atharraich e iad.* [b] *tachairidh.* [c] *codacha.* [d] *shliasaid.* [e] *sluaigh.*

agus Shimeon, bithidh iad leamſa.

6 Agus bithidh do ſhliochd, a ghineas tu 'nan déigh, leat féin: a reir ainm am bràithre goirear iad 'nan ſeilbh féin.

7 Agus air mo ſhon-ſa dheth, 'nuair a thàinig mi o Phadan, ſhuair Rachel bàs agam ann an tìr Chanaan, air an t-ſlighe, 'nuair nach *robh* fathaſt ach aſtar goirid re teachd gu h-Ephrat: agus dh'adhlaic mi 'n ſin i air an t-ſlighe gu h-Ephrat; *'s e* ſin Betlehem.

8 Agus chunnaic Iſrael mic Ioſeiph, agus thubhairt e, Cò iad ſin?

9 Agus thubhairt Ioſeph r'a athair, *'S iad* mo mhic-ſa iad, a thug Dia dhomh 'an ſo: agus thubhairt e, Thoir a'm' ionnſuidh iad, guidheam ort, agus beannaichidh mi iad.

10 Agus bha ſùilean Iſraeil trom le h-aois, air chor nach bu léir dha *gu math*: agus thug e 'm fagus da iad, agus phòg e iad, agus ghabh e 'na ghlacaibh iad.

11 Agus thubhairt Iſrael re Ioſeph, Cha do ſhaoil mi gu'm faicinn do ghnùis: agus feuch, nochd Dia dhomh mar an ceudna do ſhliochd.

12 Agus thug Ioſeph a mach iad o eadar a ghlùinean, agus chrom ſe e féin le aghaidh gu làr.

13 Agus ghabh Ioſeph iad le chéile, Ephraim 'na làimh dheis o làimh chli Iſraeil, agus Manaſeh 'na làimh chli o làimh dheis Iſraeil; agus thug e 'm fagus da *iad*.

14 Agus ſhìn Iſrael a mach a làmh dheas, agus chuir e *i* air ceann Ephraim, am *mac* a b'òige, agus a làmh chli air ceann Mhanaſeih: ſtiuir e a làmha gu ſeòlta; oir b'e Manaſeh an ceud-ghin.

15 Agus bheannaich e Ioſeph, agus thubhairt e, Gu'n deanadh Dia, 'an làthair an do ghluais m'aithreacha Abraham agus Iſaac, an Dia a bheathaich mi rè mo bheatha uile gus an là'n diugh,

16 An t-aingeal a ſhaor mi o gach olc, na leinibh a bheannachadh; agus ainmichear m'ainmſa orra, agus ainm m'aithreacha Abrahaim agus Iſaaic: agus mar iaſg *na mara* fàſadh iad lìonmhor 'am meadhon na talmhainn.

17 Agus an uair a chunnaic Ioſeph gu'n do chuir athair a làmh dheas air ceann Ephraim, cha do thaitinn e ris: agus chum e ſuas làmh athar, a chum a h-atharrachadh o cheann Ephraim gu ceann Mhanaſeih.

18 Agus thubhairt Ioſeph r'a athair, Ni h-ann mar ſin, athair: oir *is* e ſo an ceud-ghin; cuir do làmh dheas air a cheann.

19 Agus dhiùlt athair, agus thubhairt e, Ta fhios agam, a mhic, ta fhios agam; bithidh eſan cuideachd 'na ſhluagh, agus fàſaidh e mar an ceudna mòr: ach gu deimhin bithidh a bhràthair a's òige ni's mò na e, agus bithidh a ſhliochd 'nan iomadaidh [a] chinneach.

20 Agus bheannaich e iad air an là ſin, ag ràdh, Ionnad-ſa beannaichidh Iſrael, ag ràdh, Gu deanadh Dia thu mar Ephraim, agus mar Mhanaſeh: agus chuir e Ephraim roimh Mhanaſeh.

21 Agus thubhairt Iſrael re Ioſeph, Feuch, a taims' a' faghail a' bhàis; ach bithidh Dia maille ribhſe, agus bheir e ris ſibh gu dùthaich bhur n-aithreacha.

22 Agus thug miſe dhuit aon chuid-roinne thar do bhràithrean, a bhuin mi mach a làimh an Amoraich le m' chloidheamh agus le m' bhogha.

C A I B. XLIX.

AGUS ghairm Iacob air a mhic, agus thubhairt e, Cruinnichibh ſibh féin 'an ceann a chéile, chum as gu'n innis mi dhuibh ciod a tharlas dhuibh 'ſna laithibh deireannach.

2 Cruinnichibh ſibh féin 'an ceann a chéile, agus cluinnibh, a mhaca Iacoib; agus éiſdibh re Iſrael bhur n-athair.

3 A Reubein, *is* tu mo cheud-ghin, mo threiſe, agus toiſeach mo neirt, òirdheirceas [b] àrd-inbhe [c], agus òirdheirceas cumhachd.

4 Neo-ſheaſmhach [d] mar uiſge, cha d'thoir thu barrachd, do bhrì' gu'n deachaidh tu ſuas do leabaidh t' athar:

[a] *mòran.* [b] *barrachd.* [c] *mòrachd.* [d] *Atmhor*, Eabh.

thar 'an ſin thruaill thu i; chaidh e *ſuas* do m' uirigh.

5 *Is* bràithre Simeon agus Lebhi: *tha* innil aingidheachd 'nan àitibh-comhnuidh [a].

6 'Nan diombaireachd [b] na d'thig-eadh m'anamſa; r'an coi'thional na bitheadh m' onoirs' air a h-aonadh: *oir* 'nan corruich mharbh iad duine, agus 'nam féin-thoil leag iad ſios balla.

7 Mallaichte *gu'n robh* an corruich, oir *bha i* garg; agus am fearg, oir bha i ain-iochdmhar: roinnidh mi iad ann an Iacob, agus ſgaoilidh [c] mi iad ann an Iſrael.

8 A Iudaih, molaidh do bhràith-rean thuſa; *bithidh* do làmh 'am mui-neal do naimhde: cromaidh clann t'-athar iad féin ſios a'd' làthair.

9 *Is* cuilean leòmhain Iudah; o'n chobhartaich [d], a mhic, chaidh tu ſuas: chrom ſe e féin ſios, chrùb e mar leòmhan, agus mar ſheann leòmhan; cò dhùiſgeas ſuas e?

10 Cha dealaich an t-ſlat-rioghail re Iudah, no lagh-thabhartair o ea-dar a choſa, gus an d'thig Siloh, agus dha-ſan géillſidh na ſlòigh [e].

11 A' ceangal a ſhearraich ris an fhìneamhain, agus loth aſail ris an fhìneamhain thaghta; nigh e eudach 'am fion, agus a thruſgan 'am fuil nam fion-dhearc.

12 Bithidh a ſhùilean ni's deirge na fion, agus fhiacla ni's gile na bainne [f].

13 Gabhaidh Sebulun còmhnuidh aig caladh a' chuain, agus *bithidh* e air ſon calaidh long; agus *bithidh* eir-thir [g] gu nuig Sidon.

14 *Is* aſal làdair Iſachar, a' crùbadh ſios eadar dhà eallaich [h].

15 Agus chunnaic e gu'm *bu mhaith* an ni fois, agus gu'*n robh* am fearann taitneach; agus chrom e ghuala gu iomchar, agus rinneadh e 'na fheir-bhiſeach do chìs.

16 Bheir Dan breth air a ſhluagh, mar aon do threubhaibh Iſraeil.

17 Bithidh Dàn 'na nathair air an ròd, 'na nathair-nimhe air an t-ſlighe, a theumas sàilltean an eich, air chor as gu'n tuit a mharcach 'an coinneamh a chùil.

18 Re d' ſhlàinte dh'fheith miſe, O Thighearna.

19 Gad, bheir buidheann buaidh air: ach bheir eſan buaidh fa dheir-eadh.

20 A mach a h-Aſer *bithidh* aran-ſan reamhar, agus bheir e uaith sògh rioghail.

21 *Is* eilid air a leigeadh fuaſgailte Naphtali; bheir e focail thaitneach uaith.

22 *Is* geug thorrach Ioſeph, geug thorrach làimh re tobar, aig am bheil a meanglain a' ſgaoileadh thar a bhall-adh.

23 Chràidh na fir-bhogha gu geur e, agus thilg iad *air*, agus dh'fhuath-aich iad e.

24 Ach dh'fhan a bhogha 'n *a* neart, agus rinneadh gairdeana [k] a làmh là-dair le làmhaibh *Dé* chumhachdaich Iacoib; (uaithe ſin tha 'm buachaille, cloch Iſraeil).

25 *Eadhon* le Dia t-athar, a ni còmhnadh leat, agus leis an Uile-chumhachdach, a bheannaicheas thu le beannachdaibh néimh o'n àirde, beannachdaibh na doimhne ſhios, beannachdaibh nan cìoch, agus nam bronn.

26 Thug beannachda t-athar barr-achd air beannachdaibh mo ſhinnſear-a, gu nuig foir-iomall [m] nan sliabh ſiorruidh; bithidh iad air ceann Io-ſeiph, agus air mullach a chinn-ſan a ſgaradh o bhràithribh.

27 Ni Beniamin fiadhach mar mhadadh-alluidh: ſa'-mhadainn ithidh e chobhartach, [n] agus 'ſan fheaſgar roinnidh e chreach.

28 *Is* iad ſin uile dà threubh dheug Iſraeil: agus '*s e* ſo an ni a labhair an athair riu, agus bheannaich e iad, gach aon ac' a réir a bheannachaidh, bheannaich e iad.

 29 Agus

[a] is *innil foirneirt an combairlean aingidh r'a cheile*. [b] *diubhras*. [c] *ſgapaidh*.
[d] *o'n chreich*. [e] *d'a ionnſuidh-ſan bithidh cruinneachadh nam pobul*.
[f] *Bithidh a ſhuilean dearg le fion, agus fhiacla geal le bainne*. [g] *iomall*.
[h] *ualllaich*. [k] *righeach*. [m] *miann, deigh*, Eabh. [n] *am fadbach*.

29 Agus dh'àithn e dhoimh, agus
thubhairt e riu, Cruinnichear mise
chum mo dhaoine: adhlaicibh mi
maille re m'aithreachaibh 'san uaimh
a *ta* ann an achadh Ephroin an Hit-
ich,

30 'San uaimh a *ta* ann an ach-
adh Mhachpelaih, a *ta* fa chomhair
Mhamre, ann an tìr Chanaain, a
cheannaich Abraham maille ris an
achadh o Ephron an t-Hiteach, mar
shellbh àit'-adhlaic.

31 ('An sin dh'adhlaic iad Abra-
ham agus Sarah a bhean; 'an sin dh'adh-
laic iad Isaac agus Rebecah a bhean;
agus 'an sin dh'adhlaic mise Leah).

32 Cheannaicheadh an t-achadh,
agus an uaimh *ta* ann, o chloinn
Het.

33 Agus an uair a chrìochnaich Ia-
cob àitheanta thoirt d'a mhic, chruin-
nich e chosan suas do'n leabaidh, agus
chaochail [a] e, agus chruinnicheadh e
chum a dhaoine.

CAIB. L.

AGUS thuit Iofeph air aghaidh
athar, agus ghuil e air, agus
phòg se e.

2 Agus dh'àithn Ioseph d'a sheir-
bhisich na léighean [b] spìosraidh chur [c]
air corp athar: agus chuir na léighean
spìosraidh air Israel.

3 Agus choi'-lionadh air a shon
dà-fhichead là (oir mar so coi'-lionar
lài na muinntir sin air an cuirear
spìosraidh;) agus rinn na h-Eiphitich
bròn air a shon deich is tri fichead
là.

4 Agus an uair a chaidh lài a
bhròin thairis, labhair Ioseph re
teaghlach Pharaoih, ag ràdh, A nis
ma fhuair mi deagh-ghean 'nar sùil-
ibh, labhraibh, guidheam oirbh, ann
an cluasaibh Pharaoih, ag ràdh,

5 Ghabh m'athair mionnan diom,
ag ràdh, Feuch, *a ta* mis' a' faghail
a' bhàis [d]: a'm' uaigh a chladhaich mi
dhomh féin ann an tìr Chanaain, 'an
sin adhlaicidh tu mi. A nis uime sin
leig dhomh dol suas, guidheam ort,
agus m' athair adhlac, agus thig mi
ris.

6 Agus thubhairt Pharaoh, Falbh
suas, agus adhlaic t-athair, a réir mar
a ghabh e mionnan diot.

7 Agus chaidh Iofeph suas a dh'
adhlac athar: agus maille ris chaidh
feirbhifich Pharaoih suas uile, seanair-
ean a thighe, agus uile sheanairean
tìre na h-Eiphit,

8 Agus teaghlach Iofeiph uile,
agus a bhràithrean, agus teaghlach
athar: a mhàin dh'fhàg iad an clann
bheag, agus an caoraich, agus am
buar [e], 'am fearann Ghosein.

9 Agus chaidh suas maille ris, ar-
aon carbadan agus marc-shluadh: a-
gus bha chuideachd ro-mhòr.

10 Agus thàinig iad gu h-urlar-
bualaidh Ataid, a *tha* 'n taobh thall
do Iordan; agus rinn iad bròn 'an sin
le caoidh mhòir agus ro-chràitich [f]:
agus rinn e bròn air son athar seachd
lài.

11 Agus an uair a chunnaic luchd-
àiteachaidh na tìre, na Canaanaich,
am bròn ann an urlar Ataid, thubhairt
iad, *Is* doilgheasach am bròn so do
na h-Eiphitich: uime sin thugadh A-
bel-misraim mar ainm air, a *tha* 'n
taobh thall do Iordan.

12 Agus rinn a mhic dha mar a
dh' àithn e dhoibh.

13 Oir ghiùlain a mhic e do thìr
Chanaain, agus dh' adhlaic iad e ann
an uaimh achaidh Mhachpelaih, a
cheannaich Abraham maille ris an a-
chadh mar sheilbh àit'-adhlaic, o E-
phron an t-Hiteach, fa chomhair
Mhamre.

14 Agus phill Iofeph do 'n Eiphit,
e féin agus a bhràithrean, agus iadsan
uil' a chaidh suas maille ris a dh'adh-
lac athar, 'an déigh dha athair adh-
lac.

15 Agus an uair a chunnaic brài-
threan Iofeiph gu'n d'fhuair an ath-
air bàs, thubhairt iad, Theagamh gu
'n d' thoir Iofeph fuath dhuinn, agus
gu 'n dìol e gu cinnteach oirnn an t-olc
sin uile a rinn sinn air.

16 Agus chuir iad teachdairean
gu Iofeph, ag ràdh, Dh' àithn t-ath-
air mun d' fhuair e bàs, ag ràdh,

17 Mar so their sibh re Iofeph,
Math

[a] *dh'eug.* [b] *lighichean.* [c] *embalm.* Sasg. [d] *ta mise dlù do'n bhàs.*
[e] *crodh.* [f] *ro-ghoirt.*

Math [a], guidheam ort a nis, eucoir [b]
do bhràithrean, agus am peacadh, do
bhrigh gu 'n d' rinn iad olc ort: agus
a nis, guidheam ort, math eucoir
sheirbhiseach Dhé t-athar. Agus
ghuil Ioseph an uair a labhair iad
ris.
18 Agus chaidh a bhràithre mar
an ceudna, agus thuit iad sios 'na
làthair, agus thubhairt iad, Feuch,
is seirbhisich dhuit sinne.
19 Agus thubhairt Ioseph riu', Na
biodh eagal oirbh; oir *am bheil* mise
'n àite Dhé?
20 Agus d' ar taobh-sa, shun-
raich [c] sibh olc a'm' aghaidh; *ach* shun-
raich Dia sin a chum maith, a chum,
mar air an là 'n diugh, gu'n tearnadh
e mòr shluagh beo.
21 A nis uime sin na biodh eagal
oirbh: altrumaidh [d] mise sibh, agus
bhur clann bheag. Agus thug e co'-
fhurtachd dhoibh, agus labhair e gu
caoimhneil riu.
22 Agus ghabh Ioseph còmhnuidh
'san Eiphit, e féin agus teaghlach a-
thar: agus bha Ioseph beo ceud agus
deich bliadhna
23 Agus chunnaic Ioseph clann
Ephraim, do'n treas *ginealach*: thog-
adh suas mar an ceudna clann
Mhachir mhic Mhanaseih air glùin-
ibh Ioseiph.
24 Agus thubhairt Ioseph r'a
bhràithribh, *A ta* mis' a' faghail a'
bhàis: ach amhaircidh Dia gu cinnt-
each oirbhse [e], agus bheir e mach
sibh as an fhearann so do'n fhearann
a mhionnaich e do Abraham, do
Isaac, agus do Iacob.
25 Agus ghabh Ioseph mionnan
do chloinn Israeil, ag ràdh, Amhairc-
idh Dia gu cinnteach oirbhse, agus
giùlainidh sibh mo chnàmhan-sa suas
as so.
26 Agus fhuair Ioseph bàs, agus
e ceud agus deich bliadhna dh' aois:
agus chuir iad spìosraidh air, agus
chuireadh ann an ciste-mhairbh e 'san
Eiphit.

ECSODUS.

[a] *Maith, leagh.* [b] *ea-coir.* [c] *dhealbh, smuainich.* [d] *araichidh.*
[e] *fiosraichidh Dia gu cinnteach sibhse.*

E C S O D U S.

C A I B. I.

ANIS *is* iad so ainmeanna chloinn
Israeil, a thàinig do'n Eiphit;
thàinig gach duine agus a theaghlach
maille re Iacob.
2 Reuben, Simeon, Lebhi, agus
Iudah,
3 Isachar, Sebulun, agus Benia-
min,
4 Dan, agus Naphtali, Gad, agus
Aser.
5 Agus na h-anman uile a thàinig
a mach a leasraidh Iacoib, bu deich
agus tri fichead anam iad; oir bha
Ioseph 'san Eiphit *a cheana.*
6 Agus fhuair Ioseph bàs, agus a
bhràithrean uile, agus an ginealach [a]
sin uile.
7 Agus bha clann Israeil siolmhar,
agus dh'fhàs iad gu mòr, agus rinn-
eadh lìonmhor iad, agus chinn [b] iad
ro-chumhachdach; agus lìonadh an
tìr leo.
8 A nis dh'éirich righ ùr air an
Eiphit, do nach b'aithne Ioseph.
9 Agus thubhairt e r'a shluagh,
Feuch, tha sluagh chloinn Israeil ni's
lìonmhoire agus ni's cumhachdaiche
na sinne.
10 Thigibh, buineamaid gu seòlt-
a [c]: an t-eagal gu'm fàs iad lìon-
mhor, agus gu'n tachair e, 'nuair a
dh'éireas cogadh, gu'n gabh iadsan
mar an ceudna le'r naimhdibh-ne,
agus gu'n cog iad [d] nar n'aghaidh,
agus gu'n d'théid iad a mach as an
tìr.
11 Uime sin chuir iad maighstir-
ean-oibre [e] orra, chum an sàrachadh
le'n eallachaibh [f]. Agus thog iad
bailtean-ionmhais [g] do Pharaoh, Pi-
tom agus Raamses.
12 Ach mar is mò a shàraich siad
iad, 's ann is mò a rinneadh iadsan
lìonmhor agus a dh'fhàs iad. Agus
bha iad fuidh dhoil-gheas [h] air son
chloinn Israeil.
13 Agus thug na h-Eiphitich air
cloinn Israeil seirbhis a dheanamh le
cruadhas [k].
14 Agus rinn iad am beatha searbh
dhoibh le daorsa chruaidh, ann am
moirtear, agus ann an clachaibh-crea-
dha, agus anns gach gnè oibre 'sa'
mhachair: bha an obair uile, anns an
d-thug iad orra obair a dheanamh,
le cruadhas.
15 Agus labhair righ na h-Eiphit
re mnaibh-glùine nan Eabhruidheach
(*b'e* ainm a h-aon diubh Siphrah, ag-
us ainm na té eile Puah;)
16 Agus thubhairt e, 'Nuair a ni
sibh gnìomh mnà-glùine do na mnaibh
Eabhruidheach, agus a chi sibh *iad* air
na stòlaibh [l]; ma's mac *a bhios ann*,
'an sin marbhaidh sibh e, ach ma's
nighean *a bhios ann*, bithidh si beo.
17 Ach bha eagal Dé air na
mnaibh-glùine, agus cha d'rinn iad
mar a dh'àithn righ na h-Eiphit dhoibh,
ach ghleidh iad a' chlann mhac beo.
18 Agus ghairm righ na h-Eiphit
air na mnaibh-glùine, agus thubhairt e
riu, C'ar son a rinn sibh an ni so,
agus a ghleidh sibh a' chlann mhac
beo?
19 Agus thubhairt na mnai-ghlùi-
ne re Pharaoh, A chionn nach *'eil* na
mnai Eabhruidheach mar na mnai Ei-
phiteach: oir *tha* iad féin beothail [m],
agus air an aisead mu'n d'thig na
mnai-ghlùine a steach d'an ionnsuidh.
20 Uime sin bhuin Dia gu math
ris na mnaibh-glùine: agus rinneadh
an sluagh lìonmhor, agus dh'fhàs iad
ro-chumhachdach.
21 Agus a chionn gu'n robh eagal

Dé

[a] *àl.* [b] *dh'fhàs.* [c] *glic.* [d] *gu'n dean iad cogadh.* [e] *cinn-oibre.* [f] *uallachaibh, eiribh.* [g] *bailte-stòir.* [h] *im-cheist.* [k] *an-iochd, peingil-teachd.* [l] *suidheachanaibh, cathraichibh.* [m] *teòma.*

Dé air na mnaibh-glùine, rinn e tigh-
ean dhoibh.

22 Agus thug Pharaoh àithne [a]
d'a shluagh uile, ag ràdh, Gach mac
a bheirear tilgidh sibh 'san abhainn,
agus gach nighean gleidhidh sibh
beo.

CAIB. II.

AGUS chaidh duine do thigh Le-
bhi, agus ghabh e nighean do
Lebhi '*na mnaoi*.

2 Agus dh'fhàs a' bhean torrach,
agus rug i mac: agus an uair a chun-
naic i gu'n *robh* e 'na leanabh tlachd-
mhor, dh'fholaich i e rè thri mìosa.

3 Agus an uair nach b'urrainn i
fholach ni b'fhaide, ghabh i dha co-
bhan cuilce [b], agus chuir i thairis [c]
e le làthaich agus le pic [d], agus chuir
i 'n leanabh ann; agus chuir i e 'sa'
chuilc aig bruaich na h-aibhne.

4 Agus sheas a phiuthar am fad
uaith, a dh'fhaicinn ciod a dheanta
ris.

5 Agus thàinig nighean Pharaoih
a nuas g'a nigheadh fèin 'san abhainn,
agus bha a maighdeana 'g imeachd re
taobh na h-aibhne: agus an uair a
chunnaic i 'n cobhan 'am measg na
cuilce, chuir i a ban-oglach g'a thoirt
d'a h-ionnsuidh.

6 Agus an uair a dh'fhosgail i *e*,
chunnaic i 'n leanabh: agus feuch,
ghuil an naoidhean. Agus ghabh i
truas ris, agus thubhairt *i*, *Is aon* so
do chloinn nan Eabhruidheach.

7 'An sin thubhairt a phiuthar re
nighean Pharaoih, An d'théid mis',
agus an gairm mi dhuit banaltrum do
na mnaibh Eabhruidheach, a chum
as gu'n altrum i 'n leanabh dhuit?

8 Agus thubhairt nighean Pha-
raoih ria, Falbh. Agus chaidh a'
mhaighdean, agus ghairm i màthair
an leinibh.

9 Agus thubhairt nighean Pha-
raoih ria, Thoir an leanabh so leat,
agus altrum dhomhsa e, agus bheir
mi *dhuit* do thuarasdal. Agus ghabh
a' bhean an leanabh, agus dh'altrum
i e.

10 Agus dh'fhàs an leanabh, agus
thug i e dh'ionnsuidh nighinn Pha-
raoih, agus bha e 'na mhac dh'i. Agus
thug i Maois mar ainm air: agus
thubhairt i, A chionn as an uisge gu'n
do tharruing mi mach e.

11 Agus tharladh anns na laithibh
sin, an uair a dh'fhàs Maois suas, gu
'n deachaidh e mach a dh'ionnsuidh
a bhràithrean, agus gu'n d'amhairc e
air an eallachaibh: agus chunnaic e
Eiphiteach a' bualadh Eabhruidhich
aon d'a bhràithribh.

12 Agus dh'amhairc e 'n taobh so
agus an taobh ud, agus an uair a
chunnaic e nach *robh aon* duine ann,
mharbh e 'n t-Eiphiteach, agus dh'
fholaich e 'sa' ghaineamh e.

13 Agus an uair a chaidh e mach
an dara [e] là, feuch, *bha* dithis do na
h-Eabhruidhich a' strì r'a chéile: agus
thubhairt e ris-san a rinn an eucoir,
C'ar son a bhuaileas tu do choimhear-
snach [f]?

14 Agus thubhairt e, Cò rinn thu-
sa a 'd' uachdaran agus a'd' bhreith-
eamh oirnne? am miann leat mis' a
mharbhadh, mar a mharbh thu 'n
t-Eiphiteach? agus ghabh Maois eag-
al, agus thubhairt e, Gu cinnteach
tha 'ni so aithnichte.

15 A nis an uair a chuala Pharaoh
an ni so, dh'iarr e Maois a mharbh-
adh. Ach theich Maois o aghaidh
Pharaoih, agus ghabh e còmhnuidh
ann an tìr Mhidiain; agus shuidh e
sìos làimh re tobar.

16 A nis bha aig sagart Mhidiain
seachdnar nighean: agus thàinig iad
agus tharruing iad *uisge*, agus lìon iad
na h-amair a thoirt uisge do threud
an athar.

17 Agus thàinig na buachaillean
agus dh'fhuadaich iad air falbh iad:
ach sheas Maois suas agus chuidich e
leo, agus thug e uisge d'an treud.

18 Agus an uair a thàinig iad gu
Reuel an athair, thubhairt e, Cionnus
a thàinig sibh co luath an diugh?

19 Agus thubhairt iad, Shaor Ei-
phiteach sinn a làimh nam buachaill-
ean, agus mar an ceudna tharruing e
uisge gu leòr dhuinn, agus thug e
uisge do'n treud.

20 Agus thubhairt esan r'a nigh-
eanaibh, Agus c' àit' *am bheil e?* C'ar
son

[a] *sparradh.* [b] *ciste luachrach.* [c] *chòmhdaich, shlìob, sgairt i.* [d] *bigh.*
[e] *darna.* [f] *chompanach.*

son a dh'fhàg sibh an duine? Gairmibh air, a chum's gu'n ith e aran.

21 Agus bha Maois toileach còmhnuidh ghabhail maille ris an duine; agus thug e Siporah a nighean do Mhaois *mar mhnaoi*.

22 Agus rug i mac *dha*, agus thug e Gersom mar ainm air: oir thubhairt e, Bha mi 'm choigreach ann an tìr aineoil [a].

23 Agus tharladh 'n ceann mòrain laithean, gu'n d'fhuair righ na h-Eiphit bàs, agus bha clann Israeil ag osnaich air son na daorsa, agus ghlaodh iad; agus thàinig an glaodh suas gu Dia, air son na daorsa.

24 Agus chuala Dia an osnaich, agus chuimhnich Dia a choi'-cheangal re h-Abraham, re h-Isaac, agus re Iacob.

25 Agus dh'amhairc Dia air cloinn Israeil, agus dh'fhiosraich se iad.

CAIB. III.

A NIS bha Maois a' gleidheadh treud Ietro athar-céile, sagairt Mhidiain: agus thug e 'n treud gu taobh cùil an fhàsaich, agus thàinig e gu sliabh Dhé, gu Horeb.

2 Agus dh'fhoillsicheadh aingeal an Tighearna dha ann an lasair theine a meadhon pris: agus dh'amhairc e, agus feuch, bha 'm preas a' lasadh le teine, ach cha *robh* am preas air a losgadh.

3 Agus thubhairt Maois, Tionndaidh' mi nis a leth-taobh, agus chi mi 'n sealladh mòr so, c'ar son nach 'eil am preas air a losgadh.

4 Agus an uair a chunnaic an Tighearna gu'n do thionndaidh e a leth-taobh a dh'fhaicinn *sin*, ghairm Dia air a meadhon a' phris, agus thubhairt e, A Mhaois, a Mhaois. Agus thubhairt esan, *Tha* mi 'n so.

5 Agus thubhairt e, Na d'thig am fagus 'an so; cuir dhìot do bhròga bhàrr do chos, oir an t-àit' am bheil thu d' sheasamh, is talamh naomh e.

6 Thubhairt e mar an ceudna, *Is* mise Dia t-athar, Dia Abrahaim, Dia Isaaic, agus Dia Iacoib. Agus dh'fholaich Maois aghaidh: oir bha eagal air amharc air Dia.

7 Agus thubhairt an Tighearna, Chunnaic mi gu cinnteach àmhghar mo shluaigh a *ta* 'san Eiphit, agus chuala mi 'n glaodh air son am maighstirean-oibre: oir is aithne dhomh an doilgheas.

8 Agus thàinig mi nuas g'an saoradh a làimh nan Eiphiteach, agus g'an toirt suas a mach as an fhearann sin, gu fearann math agus farsuing, gu fearann a ta sruthadh le bainne agus mil; gu àite nan Canaanach, agus nan Hiteach, agus nan Amorach, agus nam Peridseach, agus nan Hibheach, agus nan Iebusach.

9 A nis uime sin, feuch, tha glaodh chloinn Israeil air teachd a'm' ionnsuidh-sa: agus mar an ceudna chunnaic mi am fòireigin [b] leis am bheil na h-Eiphitich 'g am fòireigneadh.

10 Agus a nis thig, agus cuiridh mi thu dh'ionnsuidh Pharaoih, a chum as gu'n d'thoir thu mach mo shluagh clann Israeil as an Eiphit.

11 Agus thubhairt Maois re Dia, Cò mise, gu'n rachainn a dh'ionnsuidh Pharaoih, agus gu'n d'thugainn a mach clann Israeil as an Eiphit?

12 Agus thubhairt e, Bithidh mise gu cinnteach leat; agus bithidh so 'na chomhara dhuit, gu'n do chuir mise uam thu: 'nuair a bheir thu mach an sluagh as an Eiphit, ni sibh aoradh do Dhia air an t-sliabh so.

13 Agus thubhairt Maois re Dia, Feuch, an uair a thig mi dh'ionnsuidh cloinn Israeil, agus a their mi riu, Chuir Dia bhur n-aithreacha mise d'ar n-ionnsuidh; agus a their iad rium, Ciod is ainm dha? Ciod a their mi riu.

14 Agus thubhairt Dia re Maois, IS MI AN TI A'S MI: Agus thubhairt e, Mar so their thu re cloinn Israeil, Chuir IS MI mise d'ar n-ionnsuidh.

15 Agus thubhairt Dia thuill' air so re Maois, Mar so their thu re cloinn Israeil, Chuir an Tighearna Dia bhur n-aithreacha, Dia Abrahaim, Dia Isaaic, agus Dia Iacoib, mise d'ar n-ionnsuidh: 's e so m' ainm a chaoidh', agus '*s e* so mo chuimhneachan do gach uile ghinealach.

16 Imich agus cruinnich r'a chéile

seanairean

[a] *Ann an dùthaich choimhich.* [b] *foirneart, ainneart.*

seanairean Israeil, agus abair riu, Dh'fhoillsich an Tighearna Dia bhur n-aithreacha e féin dhomhsa, Dia Abrahaim, Isaaic, agus Iacoib, ag ràdh, Gu cinnteach dh'amhairc mi oirbh, agus *chunnaic mi* an ni a rinneadh oirbh 'san Eiphit.

17 Agus thubhairt mi, Bheir mi suas sibh a h-àmhghar na h-Eiphit, gu fearann nan Canaanach, agus nan Hiteach, agus nan Amorach, agus nam Peridseach, agus nan Hibheach, agus nan Iebusach, gu fearann *a ta* sruthadh le bainne agus mil.

18 Agus éisdidh iadsan re d' ghuth: agus théid thu féin agus seanairean Israeil, gu righ na h-Eiphit, agus their sibh ris, Choinnich an Tighearna Dia nan Eabhruidheach sinne: agus a nis leig dhuinn, guidheamaid ort, dol astar thri lathan do'n fhàsach, chum as gu'n ìobair sinn [a] do'n Tighearn ar Dia.

19 Agus is deimhin leam nach leig righ na h-Eiphit leibh imeachd, cha leig, *eadhon* le làimh làdair [b].

20 Agus sìnidh mis' a mach mo làmh, agus buailidh mi 'n Eiphit le m' iongantasan uile, a ni mi 'n a meadhon: agus 'an déigh sin leigidh e dhuibh imeachd.

21 Agus bheir mise do'n t-sluagh so deagh-ghean [c] ann an sealladh nan Eiphiteach: agus tarlaidh, 'nuair a dh'fhalbhas sibh, nach falbh sibh falamh;

22 Ach iarraidh gach bean [d] o banchoimhearsnaich, agus o'n mhnaoi a bhios air aoidheachd 'na tigh, seudan [e] airgid, agus seudan òir, agus eudach: agus cuiridh sibh *iad* air bhur mic, agus air bhur nigheanaibh; agus creachaidh sibh na h-Eiphitich [f].

C A I B. IV.

AGUS fhreagair Maois, agus thubhairt e, Ach feuch, cha chreid iad mi, ni mò dh'éisdeas iad re m' ghuth: oir their iad, Cha do thaisbein [g] an Tighearn e féin dhuit.

2 Agus thubhairt an Tighearna ris, Ciod sin ann do làimh? Agus thubhairt esan, Slat.

3 Agus thubhairt e, Tilg air an làr i; agus thilg e air an làr i, agus rinneadh i 'na nathair: agus theich Maois roimpe.

4 Agus thubhairt an Tighearna re Maois, Cuir a mach do làmh, agus glac air a h-earr [h] i. Agus chuir e mach a làmh, agus rug e oirre, agus rinneadh slat dh'i 'na làimh.

5 Chum as gu'n creid iad gu'n d'fhoillsich an Tighearna Dia an aithreacha, Dia Abrahaim, Dia Isaaic, agus Dia Iacoib, e féin dhuit.

6 Agus thubhairt an Tighearn a thuill air so ris, Cuir a nis do làmh a'd' bhroilleach; agus chuir e a làmh 'na bhroilleach: agus an uair a thug e mach i, feuch, bha a làmh lobhrach mar shneachda.

7 Agus thubhairt e, Cuir do làmh a ris a'd' bhroilleach: agus chuir e làmh a ris 'na bhroilleach, agus thug e mach a bhroilleach i, agus feuch, dh' iompaicheadh [k] i mar *a' chuid eile d' a* sheoil.

8 Agus tarlaidh, mur creid iad thu, agus mur éisd iad re guth a' cheud chomharaidh, gu'n creid iad guth a' chomharaidh dheireannaich.

9 Agus tarlaidh, mur creid iad mar an ceudna an dà chomhara sin, agus mur éisd iad re d' ghuth, gu'n gabh thu *cuid* a dh' uisge na h-aibhne, agus gu'n dòirt thu air an *talamh thioram*: agus fàsaidh 'n t-uisg' a bheir thu as an abhainn, 'na fhuil air an *talamh* thioram.

10 Agus thubhairt Maois ris an Tighearna, O mo Thighearna, cha duine deas-chainnteach mi aon chuid roimhe so [l], no o'n àm 'san do labhair thusa re d' sheirbhiseach; do bhri' gu'm bheil mi mall ann an cainnt, agus mall ann an teangaidh.

11 Agus thubhairt an Tighearna ris, Cò a rinn beul an duine? no cò a rinn am balbh, no'm bodhar, no'n ti a chi, no'n dall? Nach mise an Tighearna?

[a] *gun d'thoir sinn ìobairt.* [b] ach *le làimh làdair.* [c] *fàbhor.* [d] *iarraidh gach bean 'n iasachd, no'n coingheal.* [e] *soithichean.* Eabh. [f] *an Eiphit.* [g] *Cha d'fhoillsich.* [h] *earrball.* [k] *thionndadhadh.* [l] *o'n dé no 'n là roimhe sin.*

12 A nis uime sin imich, agus bithidh mise le d' bheul, agus teagaisgidh mi dhuit ciod a their thu.

13 Agus thubhairt e, O mo Thighearna, cuir, guidheam ort, le làimh *an ti a* chuireas tu [a].

14 Agus las corruich an Tighearna 'n aghaidh Mhaois, agus thubhairt e, *Nach* e Aaron an Lebhitheach do bhràthair? tha fhios agam gu'n labhair eian gu math. Agus mar an ceudna, feuch, tha e teachd a mach a'd' choinneamh: agus an uair a chi e thu, bithidh e subhach 'na chridhe.

15 Agus labhraidh tusa ris, agus cuiridh tu focail 'na bheul: agus bithidh mise le 'd bheul, agus le bheul-san, agus teagaisgidh mi dhuibh ciod a ni sibh.

16 Agus labhraidh esan air do shon-sa ris an t-sluagh: agus bithidh esan, bithidh *eadhon* esan dhuit 'an àite beoil, agus bithidh tusa dhasan 'an àite Dhé.

17 Agus gabhaidh tu 'n t-slat so ann do làimh, leis an dean thu comharan.

18 Agus dh'imich Maois agus phill e gu Ietro athair-céile, agus thubhairt e ris, Théid mi nis, agus pillidh mi chum mo bhràithrean a *ta* 'san Eiphit, agus chi mi 'm bheil iad fathast beo. Agus thubhairt Ietro re Maois, Imich 'an sìth.

19 Agus thubhairt an Tighearna re Maois ann am Midian, Imich, pill do'n Eiphit: oir tha na daoine *sin* uile marbh a bha 'g iarraidh t' anma.

20 Agus ghabh Maois a bhean, agus a mhic, agus chuir e iad air asal, agus phill e do thalamh na h-Eiphit. Agus ghabh Maois slat Dhé 'na làimh.

21 Agus thubhairt an Tighearna re Maois, An uair a dh'imicheas tu chum pilltinn do'n Eiphit, thoir an aire [b] gu'n dean thu na h-iongantais *sin* uile, a chuir mis' ann ad làimh, 'am fianuis Pharaoih: ach cruadhaichidh mis' a chridhe, agus cha leig e leis an t-sluagh imeachd.

22 Agus their thu re Pharaoh, Mar so tha'n Tighearn ag ràdh, '*S* e Israel mo mhac, mo cheud-ghin.

23 Agus tha mi 'g ràdh riut, Leig le m' mhac imeachd, a chum as gu'n dean e seirbhis dhomh: agus ma dhiùltas tu leigeadh [c] leis imeachd, feuch, marbhaidh mise do mhac-sa, *eadhon* do cheud-ghin.

24 Agus tharladh air an t-slighe 'san tigh-tàimh [d], gu'n do choinnich an Tighearn e, agus gu'n d'iarr e mharbhadh.

25 'An sin ghabh Siporah clach *gheur*, agus thimchioll-ghearr i roimhchroicionn a mic, agus thilg i aig a chasaibh *e*, agus thubhairt *i*, Gu cinnteach *is* fear-pòsda fuileachdach dhomsa thu.

26 Agus leig e uaith e: an sin thubhairt i, *Is* fear-pòsda fuileachdach *thu* air son an timchioll-ghearraidh.

27 Agus thubhairt an Tighearna re h-Aaron, Imich 'an coinneamh Mhaois do'n fhàsach. Agus dh'imich e, agus choinnich se e ann an sliabh Dhé, agus phòg se e.

28 Agus dh'innis Maois do Aaron uile bhriathran an Tighearn, a chuir uaith e, agus na comharan uile a dh'àithn e dha.

29 Agus chaidh Maois agus Aaron, agus chruinnich iad seanairean chloinn Israeil uile.

30 Agus labhair Aaron na briathran uile a labhair an Tighearna re Maois, agus rinn e na comharan ann an sealladh an t-sluaigh.

31 Agus chreid an sluagh: agus an uair *a* chual' iad gu'n d'amhairc an Tighearn air cloinn Israeil, agus gu 'm fac e an àmhghar, 'an sin chrom iad an cinn, agus rinn iad aoradh.

C A I B. V.

AGUS 'na dheigh sin chaidh Maois agus Aaron a steach, agus thubhairt iad re Pharaoh, Mar so tha'n Tighearna Dia Israeil ag ràdh, Leig le m' shluagh imeachd, a chum as gu'n cum [e] iad féisd [f] dhomhsa 'san fhàsach.

2 Agus thubhairt Pharaoh, Cò e an Tighearna, gu'n éisdinn-sa r'a ghuth a leigeadh le h-Israel imeachd?

Cha

[a] *a chi thu iomchuidh a chur.* [b] *faic.* [c] *leigeil.* [d] *tigh-òsda.* [e] *gleidh, dean.* [f] *fleadh, féill, cuirm.*

Cha 'n aithne dhomhs' an Tighearn,
agus mar an ceudna cha leig mi le
h-Iſrael imeachd.
3 Agus thubhairt iad, Dh'fhoill-
ſich Dia nan Eabhruidheach e féin
dhuinne [a]: leig leinn, guidheamaid
ort, dol aſtar thri lài do'n fhàſach, a
chum as gu'n iobramaid do'n Tigh-
earn ar Dia, an t-eagal gu'm buail
e ſinn [b] le plàigh, no leis a' chlaidh-
eamh.
4 Agus thubhairt righ na h-Eiphit
riu, C'ar ſon a ta ſibhs', a Mhaois a-
gus Aaroin, a' toirt air an t-ſluagh
ſgur o'n oibribh? Rachaibh a chum
bhur n-eallacha.
5 Agus thubhairt Pharaoh, Feuch,
a ta ſluagh na tìr' a nis lìonmhor, a-
gus tha ſibhs' a' toirt orra bhi 'nan
tàmh o'n eallachaibh.
6 Agus dh'àithn Pharaoh air an
là ſin féin do mhaighſtiribh-oibre an
t-ſluaigh, agus d'an luchd-riaghlaidh [c],
ag ràdh,
7 Cha d'thoir ſibh conlach tuille
do'n t-ſluagh a dheanamh chlacha-
creadha mar roimhe ſo: rachadh iad
agus cruinnicheadh iad conlach dhoibh
féin.
8 Agus cuiridh ſibh orra àireamh
nan clacha-creadha a rinn iad roimhe:
cha leig ſibh ſìos a' bheag dheth, oir
tha iad diomhanach; uime ſin tha iad
aig éigheach, ag ràdh, Rachamaid *agus*
ìobramaid d'ar Dia.
9 Cuirear an obair ni's truime air
na daoine, chum as gu'n ſaoraich
iad innte; agus na h-earbadh iad a
briathraibh dìomhain.
10 Agus chaidh maighſtirean-oibre
an t-ſluaigh a mach, agus an luchd-
riaghlaidh, agus labhair iad ris an
t-ſluagh, ag ràdh, Mar ſo tha Pharaoh
ag ràdh, Cha d'thoir mi dhuibh con-
lach.
11 Rachaibh, gabhaibh dhuibh féin
conlach far am feud ſibh a faghail:
gidheadh cha leigear ſìos a' bheag do'r
n-obair.
12 Uime ſin ſgaoileadh [d] an ſluagh
air feadh tìre na h-Eiphit uile, a
chruinneachadh aſbhuain [e] 'an àite
conlaich.
13 Agus chuir na maighſtirean-
oibre thuige [f] *iad*, ag ràdh, Coi'-lion-
aibh bhur n-oibre chumta lathail [g],
mar an uair a thugadh conlach dhuibh.
14 Agus bhuaileadh [h] luchd-riagh-
laidh chloinn Iſraeil a chuir maigh-
ſtirean-oibre Pharaoih os an ceann,
agus dh'fhiosfraicheadh dhiubh, C'ar
ſon nach do choi'lion ſibh bhur n-
obair chumta ann an deanamh chlacha-
creadha araon an dé agus an diugh,
mar *a rinn ſibh* roimhe?
15 'An ſin thàinig luchd-riaghlaidh
chloinn Iſraeil, agus ghlaodh iad re
Pharaoh, ag ràdh, C'ar ſon a bhuineas
tu air an dòigh ſo re d' ſheirbhiſich?
16 Cha 'n'eil conlach air a toirt do
d' ſheirbhiſich, agus '*se* their iad ruinn,
Deanaibh clacha-creadha: agus feuch,
a ta do ſheirbhiſich air am bualadh;
ach is ann aig do ſhluagh féin a ta
choire.
17 Ach thubhairt eſan, *Tha* ſibh
dìomhanach, *tha ſibh* dìomhanach:
uime ſin their ſibh, Rachamaid *agus*
ìobramaid do'n Tighearna.
18 Uime ſin imichibh a nis, dean-
aibh obair; oir cha d' thoirear conlach
dhuibh, agus bheir ſibh uaibh làn àir-
eamh nan clacha-creadha.
19 Agus chunnaic luchd-riaghlaidh
chloinn Iſraeil gu'm bu chruaidh *an
càs* anns *an robh* iad, agus e air a ràdh
riu, Cha bheagaich ſibh *dad* d'ar clach-
aibh-creadha, do'n obair dhligheach
lathail.
20 Agus choinnich iad Maois agus
Aaron, a ſheas air an t-ſlighe [k], 'nuair
a thàinig iad a mach o Pharaoh:
21 Agus thubhairt iad riu, Gu'n
amhairceadh Dia oirbh, agus gu'n
d'thugadh e breth, do bhrìgh gu'n d'
rinn ſibh ar boladh gràineil 'an làthair
Pharaoih [l], agus 'an làthair a ſheir-
bhiſeach, a' cur claidheimh 'nan làimh
a chum ſinne a mharbhadh.
22 Agus phill Maois a dh'ionn-
ſuidh an Tighearna, agus thubhairt e,
A Thighearna, c'ar ſon a bhuin thu

[a] *ghairm Dia nan Eabhruidheach oirnne.* Eabh. [b] *tuit e oirnn; coinnich e ſinn.* [c] *an luchd-ſtiùbhraidh, an grìobhan, am maoir.* [d] *ſgapadh.* [e] *bun-ain, ſtailcnich.* [f] *chuige.* [g] *gnothuch an là 'na là.* [h] *ghabhadh air.* [k] *'nan coinneamh.* Eabh. [l] *ann an ſùilibh Pharaoih.* Eabh.

cho olc ris an t-sluagh so? c'ar son a
chuir thu uait mi?
23 Oir o'n àm a thàinig mi gu
Pharaoh a labhairt ann ad ainm, rinn
e olc do'n t-sluagh so; agus cha do
shaor thu idir do shluagh.

CAIB. VI.

1 AN sin thubhairt an Tighearna re
Maois, A nis chi thu ciod a ni
mi re Pharaoh: oir le làimh làdair
leigidh e leo imeachd, agus le làimh
làdair fuadaichidh e mach as a dhù-
thaich iad.
2 Agus labhair Dia re Maois, agus
thubhairt e ris, *Is* mise an Tighearna.
3 Agus dh'fhoillsich mi mi féin do
Abraham, do Isaac, agus do Iacob, le
ainm an Dé uile-chumhachdaich, ach
le m'ainm Iehobhah cha robh mi aith-
nichte dhoibh.
4 Agus mar an ceudna dhaingnich
mi mo choi'-cheangal [a] riu, gu'n d'-
thugainn dhoibh talamh Chanaain,
talamh an cuairte, anns an robh iad
'nan coigrich.
5 Agus mar an ceudna chuala mi
osnaich chloinn Israeil, a ta na h-Ei-
phitich a' cumail ann an daorsa: agus
chuimhnich mi mo choi'-cheangal.
6 Uime sin abair re cloinn Israeil,
Is mise an Tighearna, agus bheir mi
sibh a mach o *bhi* fuidh eallachaibh nan
Eiphiteach, agus saoraidh mi sibh o'n
daorsa: agus fuasglaidh mi sibh le
gàirdean sìnt' a mach, agus le brei-
theanasaibh mòra.
7 Agus gabhaidh mi sibh dhomh
féin mar shluagh, agus bithidh mi
dhuibh a'm' Dhia: agus bithidh fios
agaibh gur mise an Tighearna bhur
Dia, a ta 'gar toirt-sa [b] mach o *bhi*
fuidh eallachaibh nan Eiphiteach.
8 Agus bheir mi steach sibh a
dh'ionnsuidh an fhearainn a mhion-
naich mi gu'n d'thugainn[c] do Abra-
ham, do Isaac, agus do Iacob; agus
bheir mi e dhuibhse mar oighreachd:
Is mise an Tighearna.
9 Agus labhair Maois mar sin re
cloinn Israeil: ach cha d'éisd iad re
Maois, tre chràdh spioraid, agus tre
dhaorsa chruaidh.
10 Agus labhair an Tighearna re
Maois, ag ràdh,
11 Imich a steach, labhair re Pha-
raoh righ na h-Eiphit, e a leigeadh do
chloinn Israeil dol a mach as a dhù-
thaich.
12 Agus labhair Maois 'an làthair
an Tighearn, ag radh, Feuch, cha d'
éisd clann Israeil rium; cionnus ma
ta dh'éisdeas Pharaoh riumsa, aig
am bheil mo bhilean neo-thimchioll-
ghearrta?
13 Agus labhair an Tighearna re
Maois, agus re h-Aaron, agus thug e
dhoibh àithne [c] a chum cloinn Israeil,
agus a chum Pharaoih righ na h-
Eiphit, clann Israeil a thoirt a mach a
talamh na h-Eiphit.
14 'S iad sin ceannardan thighean
an aithreacha: mic Reubein ceud-ghin
Israeil; Hanoch, agus Pallu, Hesron,
agus Carmi: 's iad sin teaghlaichean
Reubein.
15 Agus mic Shimeoin; Gemuel,
agus Iamin, agus Ohad, agus Iachin,
agus Sohar, agus Saul mac Ban-
chanaanaich: 's iad sin teaghlaichean
Shimeoin.
16 Agus 's iad sin ainmeanna mhac
Lebhi, a réir an ginealacha; Gerson,
agus Cohat, agus Merari; agus *b'iad*
bliadhnacha beatha Lebhi ceud agus
seachd bliadhna deug 'ar fhichead.
17 Mic Ghersoin; Libni, agus Simi,
a réir an teaghlaichean.
18 Agus mic Chohait; Amram,
agus Idshar, agus Hebron, agus Udsiel:
agus *b'iad* bliadhnacha beatha Chohait
ceud agus tri bliadhna deug 'ar fhich-
ead.
19 Agus mic Mherari; Mahali
agus Musi: 's iad sin teaghlaichean
Lebhi, a réir an ginealacha.
20 Agus ghabh Amram Iochebed
piuthar-athar dha féin 'na mnaoi;
agus rug i dha Aaron agus Maois:
agus *b'iad* bliadhnacha beatha Amraim
ceud agus seachd bliadhna deug 'ar
fhichead.
21 Agus mic Idshair; Corah, agus
Nepheg, agus Sichri.
22 Agus mic Udsieil; Misael, agus
Elsaphan, agus Sitri.

23

[a] *mo chumhnant.* [b] *'gar tabhairt.* [c] *ordugh.*

23 Agus ghabh Aaron Eliseba
nighean Aminadaib, piuthar Naasoin,
dha féin 'na mnaoi; agus rug i dha
Nadab agus Abihu, Eleasar agus Ita-
mar.
24 Agus mic Choraih; Asir, agus
Elcanah, agus Abiasaph: 's iad sin
teaghlaichean nan Corhach.
25 Agus ghabh Eleasar mac Aaroin
aon do nigheanaibh Phutieil dha féin
'na mnaoi; agus rug i dha Phinehas:
's iad sin ceannardan aithreacha nan
Lebhitheach, a réir an teaghlaich-
ean.
26 '*S iad* so an t-Aaron agus am
Maois ud, ris an d'thubhairt an Tigh-
earna, Thugaibh a mach clann Israeil
a talamh na h-Eiphit, a réir an slògh[a].
27 '*S iad* so iadsan a labhair re
Pharaoh righ na h-Eiphit, a chum
clann Israeil a thoirt a mach as an
Eiphit: '*s iad* so am Maois agus an t-
Aaron ud.
28 Agus tharladh 'san là air an do
labhair an Tighearna re Maois ann an
tìr na h-Eiphit,
29 Gu'n do labhair an Tighearna
re Maois, ag ràdh, *Is* mise an Ti-
ghearna; labhair thusa re Pharaoh
righ na h-Eiphit gach *ni* a their mi
riut.
30 Agus thubhairt Maois 'an là-
thair an Tighearna, Feuch, a ta mise
neo-thimchioll-ghearrt' a'm' bhilibh,
agus cionnus a dh'éisdeas Pharaoh
rium?

C A I B. VII.

AGUS thubhairt an Tighearna re
Maois, Feuch, rinn mi thu a'd'
dhia do Pharaoh; agus bithidh do
bhràthair Aaron 'na fhàidh agad.
2 Làbhraidh tusa gach *ni* a dh'àithn-
eas mise dhuit; agus làbhraidh Aa-
ron do bhràthair re Pharaoh, esan a
chur cloinn Israeil a mach as a thìr.
3 Agus cruadhaichidh mise cridhe
Pharaoih, agus ni mi mo chomharan
agus m'iongantasan [b] lionmhor ann an
tìr na h-Eiphit.
4 Ach cha 'n éisd Pharaoh ribh,
agus leagaidh mise mo làmh air an
Eiphit, agus bheir mi mach m'arm-
ailtean, *agus* mo shluagh clann Israeil,
a tìr na h-Eiphit, le breitheanasaibh
mòra.
5 Agus bithidh fios aig na h-Ei-
phitich gur mise an Tighearna, 'nuair
a shìneas mi mach mo làmh air an Ei-
phit, agus a bheir mi mach clann Isra-
eil o *bhi* 'nam measg.
6 Agus rinn Maois agus Aaron mar
a dh'àithn an Tighearna dhoibh, mar
sin rinn iad.
7 Agus *bha* Maois ceithir fichead
bliadhna dh'aois, agus Aaron ceithir
fichead agus tri bliadhna dh'aois an
uair a labhair iad re Pharaoh.
8 Agus labhair an Tighearna re
Maois, agus re h-Aaron, ag ràdh,
9 'Nuair a làbhras Pharaoh ribh,
ag ràdh, Nochdaibh iongantas [c] air
bhur son féin: 'an sin their thu re h-
Aaron, Gabh do shlat, agus tilg sìos *i*
'an làthair Pharaoih, *agus* fàsaidh i 'na
nathair.
10 Agus chaidh Maois agus Aaron
a steach a dh'ionnsuidh Pharaoih, agus
rinn iad mar sin, mar a dh'àithn an
Tighearna: agus thilg Aaron sìos a
shlat 'an làthair Pharaoih, agus 'an là-
thair a sheirbhiseach, agus rinneadh i
'na nathair.
11 'An sin ghairm Pharaoh mar an
ceudna air na daoine glice, agus air an
luchd-fiosachd: agus rinn mar an
ceudna druidhean [d] na h-Eiphit mar
sin le'n druidheachdaibh:
12 Oir thilg iad sìos gach duine a
shlat, agus rinneadh iad 'nan nath-
raichibh: ach shluig slat Aaroin suas
an slatan-sa.
13 Agus chruadhaicheadh cridhe
Pharaoih, air chor as nach d'éisd e
riu; mar a thubhairt an Tighearna.
14 Agus thubhairt an Tighearna
re Maois, Chruadhaicheadh cridhe
Pharaoih, tha e diùltadh leigeadh leis
an t-sluagh falbh.
15 Imich-sa dh'ionnsuidh Pharaoih
'sa' mhadainn, feuch, tha e dol a mach
a dh'ionnsuidh an uisge, agus seasaidh
tu 'na choinneamh air bruaich na h-
aibhne [e]; agus an t-slat a thionndadh-
adh 'na nathair gabhaidh tu a'd'
làimh.

[a] *a réir an armailtean.* [b] *mo mhiorbhuilean.* [c] *Taisbeinibh miorbhuil,*
[d] *draoidhean.* [e] *Seasaidh tus' air bruaich na h-aibhn' air cheann dha teachd.*

16 Agus their thu ris, Chuir an Tighearna Dia nan Eabhruidheach mise a' t'ionnsuidh, ag ràdh, Leig le m'shluagh imeachd, a chum as gu'n dean iad seirbhis dhomhsa 'san fhàsach: agus feuch, gus a so cha b' àill leat éisdeachd.

17 Mar so tha'n Tighearn ag ràdh, Ann an so aithnichidh tu gur mise an Tighearna: feuch, buailidh mi leis an t-slait a *ta* m'làimh, na h-uisgeachan a *ta* 'san abhainn, agus tionndadhar iad gu fuil.

18 Agus gheibh an t-iasg a *ta* 'san abhainn bàs, agus lobhaidh an abhainn; agus bithidh gràin air na h-Eiphitich uisge òl as an abhainn.

19 Agus labhair an Tighearna re Maois, Abair re h-Aaron, Gabh do shlat, agus sìn a mach do làmh air uisgibh na h-Eiphit, air an aibhnibh, air an sruthaibh, agus air an lochanaibh, agus air uile cho'-chruinneachadh an uisgeacha, chum as gu'm fàs iad 'nam fuil; agus bithidh fuil air feadh tìre na h-Eiphit uile, araon ann an *soithichibh* fiodha, agus ann *an soithichibh* cloiche.

20 Agus rinn Maois agus Aaron mar sin, a réir mar a dh'àithn an Tighearn, agus thog e suas an t-slat, agus bhuail e na h-uisgeachan a *bha* 'san abhainn, ann an sealladh Pharaoih, agus ann an sealladh a sheirbhiseach: agus thionndadhadh na h-uisgeachan uile a *bha* 'san abhainn, gu fuil.

21 Agus fhuair an t-iasg, a *bha* 'san abhainn, bàs: agus lobh an abhainn, agus cha b' urradh na h-Eiphitich uisge òl as an abhainn: agus bha'n fhuil ann an tìr na h-Eiphit uile.

22 Agus rinn druidhean na h-Eiphit mar sin le'n druidheachdaibh: agus chruadhaicheadh cridhe Pharaoih, agus cha d'éisd e riu, mar a thubhairt an Tighearna.

23 Agus phill Pharaoh, agus chaidh e d'a thigh; agus cha do shocraich e chridhe air so cuideachd.

24 Agus chladhaich na h-Eiphitich uile timchioll na h-aibhne air son uisge r'a òl: oir cha b'urrainn[a] iad òl a dh'uisge na h-aibhne.

25 Agus choi'-lionadh seachd laithean 'an déigh do'n Tighearn an abhainn a bhualadh.

CAIB. VIII.

AGUS thubhairt an Tighearna re Maois, Falbh a dh'ionnsuidh Pharaoih, agus abair ris, Mar so tha 'n Tighearna 'g ràdh, Leig le m' shluagh imeachd, a chum as gu'n dean iad seirbhis dhomh.

2 Agus ma dhiùltas tu'*n* leigeadh air falbh, feuch, buailidh mi do chrìochan uile le losgannaibh:

3 Agus brùchdaidh an abhainn a mach losgainn, agus théid iad suas, agus thig iad a steach do d' thigh, agus do d' sheòmar-leapach, agus air uachdar do leapach[b], agus do thigh do sheirbhiseach, agus air do shluagh, agus do d' àmhuinnibh, agus do d' amaraibh-fuinidh[c]:

4 Agus théid na losgainn suas ort féin, agus air do shluagh, agus air do sheirbhisich uile.

5 Agus thubhairt an Tighearna re Maois, Abair re h-Aaron, Sìn a mach do làmh le d' shlait os cionn nan aibhnichean, os cionn nan allt, agus os cionn nan lochan; agus thoir air na losgannaibh dol suas air talamh na h-Eiphit.

6 Agus shìn Aaron a mach a làmh os cionn uisgeacha na h-Eiphit; agus chaidh na losgainn suas, agus chòmhdaich[d] iad talamh na h-Eiphit.

7 Agus rinn na druidhean mar sin le 'n druidheachdaibh, agus thug iad suas losgainn air talamh na h-Eiphit.

8 'An sin ghairm Pharaoh air Maois agus air Aaron, agus thubhairt e, Guidhibh air an Tighearna gu'n d' thoir e air falbh na losgainn uam féin, agus o m' shluagh; agus leigidh mise leis an t-sluagh imeachd, a chum as gu'n ìobair iad do'n Tighearna.

9 Agus thubhairt Maois re Pharaoh, Dean uaill tharum: c'uin a ghuidheas mi air do shon, agus air son

[a] *cha b'urradh.* [b] *do leapa.* [c] *do d' sgàlaibh-fuinidh.* [d] *chuibhrig, dh'fholaich.*

ſon do ſheirbhiſeach, agus air ſon do
ſhluaigh, gu'n cuirear as do na loſgan-
naibh uait féin, agus o d' thighibh;
air chor agus gu mair [a] iad a mhàin
'ſan abhainn?

10 Agus thubhairt eſan, Am mài-
reach. Agus thubhairt e, *Bitheadh e*
a réir t'fhocail; a chum as gu'm bi
fios agad nach *'eil* neach ann coſmhuil
ris an Tighearn ar Dia.

11 Agus falbhaidh na loſgainn uait
féin, agus o d' thighibh, agus ó d'
ſheirbhiſich, agus o d' ſhluagh; a
mhàin 'ſan abhainn mairidh iad.

12 Agus chaidh Maois agus Aaron
a mach o Pharaoh; agus dh'éigh [b]
Maois ris an Tighearn a thaobh nan
loſgann, a thug e 'n aghaidh Pha-
raoih.

13 Agus rinn an Tighearn a réir
focail Mhaois; agus bhàſaich na loſg-
ainn as na tighibh, as na bailtibh, a-
gus as na machraichibh.

14 Agus chruinnich iad r'a chéile
'nan dùnaibh iad; agus lobh an tìr [c].

15 Ach an uair a chunnaic Pharaoh
gu'n robh fois ann, chruadhaich e
chridhe, agus cha d'éiſd e riu, mar a
thubhairt an Tighearna.

16 Agus thubhairt an Tighearna
re Maois, Abair re h-Aaron, Sìn a
mach do ſhlat, agus buail duſlach [d]
na talmhainn, a chum gu'm fàs e 'na
mhialaibh air feadh tìre na h-Eiphit
uile.

17 Agus rinn iad mar ſin; oir ſhìn
Aaron a mach a làmh le ſhlait, agus
bhuail e duſlach na talmhainn, agus
rinneadh e 'na mhialan air duin' agus
air ainmhidh [e]; rinneadh uile dhuſ-
lach na talmhainn 'na mhialaibh air
feadh tìre na h-Eiphit uile.

18 Agus rinn na druidhean mar ſin
le'n druidheachdaibh a thoirt a mach
mhial, ach cha b'urrainn iad: agus
bha mialan air duine agus air ain-
mhidh.

19 'An ſin thubhairt na druidhean
re Pharaoh, '*S* e meur Dhé a th'ann:
agus chruadhaicheadh cridhe Pha-
raoih, agus cha d' éiſd e riu; mar a
thubhairt an Tighearna.

20 Agus thubhairt an Tighearna
re Maois, Eirich ſuas gu moch 'ſa'
mhadainn, agus ſeas 'an làthair Pha-
raoih, (feuch, tha e teachd a mach a
dh'ionnſuidh an uiſge) agus abair ris,
Mar ſo tha'n Tighearn ag ràdh, Leig
le m' ſhluagh imeachd, a chum as
gu'n dean iad ſeirbhis dhomh.

21 Ach mur leig thu le m' ſhluagh
imeachd, feuch, cuiridh mi ſgaoth
chuileag [f] ort féin, agus air do ſheir-
bhiſich, agus air do ſhluagh, agus ann
do thighibh; agus lìonar tighean nan
Eiphiteach leis an ſgaoth chuileag, a-
gus mar an ceudna 'n talamh air *am
bheil* iad.

22 Agus cuiridh mi air leth air an
là ſin féin fearann Ghoſein, anns am
bheil mo ſhluagh a chòmhnuidh, air
chor as nach bi cuileagan ſam bith 'an
ſin; a chum as gu'm bi fios agad gur
miſe an Tighearn 'am meadhon na
talmhainn.

23 Agus cuiridh mi dealachadh
eadar mo ſhluagh-ſa agus do ſhluagh-
ſa: air an là màireach bithidh an
comhara ſo.

24 Agus rinn an Tighearna mar
ſin: agus thàinig ſgaoth an-barrach [g]
chuileag do thigh Pharaoih, agus do
thighibh a ſheirbhiſeach, agus do thìr
na h-Eiphit uile: thruailleadh an tal-
amh a thaobh nan cuileag.

25 Agus ghairm Pharaoh air Maois
agus air Aaron, agus thubhairt e,
Rachaibh, ìobraibh d'ar Dia 'ſan tìr.

26 Agus thubhairt Maois, Cha
'n'eil e iomchuidh [h] *ſinn* a dheanamh
mar ſin; oir ìobairidh ſinn gràineil-
eachd nan Eiphiteach do'n Tighearn
ar Dia. Feuch, an ìobair ſinne gràineil-
eachd nan Eiphiteach fa chomhair an
ſùl, agus nach gabh iad do chlachaibh
oirnn?

27 Théid ſinn aſtar thri laithean
do'n fhàſach, agus ìobraidh ſinn do'n
Tighearn ar Dia, mar a dh'àithneas e
dhuinn.

28 Agus thubhairt Pharaoh, Léig-
idh mi dhuibh imeachd, a chum as
gu'n ìobair ſibh do'n Tighearna bhur
Dia 'ſan fhàſach; ach na rachaibh ro-
fhad'

[a] *gu'm fan, gu'm fàgar iad.* [b] *ghlaodh.* [c] *dh'fhàs droch fhàile do'n tìr.* [d] *luaithre.* [e] *ann an duine agus ann an ainmhidh.* Eabh. [f] *iomadh gné chuileag.* [g] *dhòlaſach.* [h] *iomchubhaidh.*

fhad' air astar: guidhibh air mo shon-
sa.
29 Agus thubhairt Maois, Feuch,
théid mise mach uait, agus guidhidh
mi air an Tighearna gu'm falbh na
cuileagan o Pharaoh, o sheirbhisich, a-
gus o shluagh, am màireach: ach na
buineadh Pharaoh gu cealgach tuil-
leadh, ann an diùltadh leigeadh do'n
t-sluagh dol a dh'ìobradh do'n Tigh-
earna.
30 Agus chaidh Maois a mach o
Pharaoh, agus ghuidh e air an Tigh-
earna.
31 Agus rinn an Tighearn a réir
focail Mhaois: agus chuir e air falbh
na cuileagan o Pharaoh, o sheirbhisich,
agus o shluagh: cha d'fhan a h-aon.
32 Agus chruadhaich Pharaoh a
chridhe air an àm so mar an ceudna,
agus cha do leig e leis an t-sluagh
imeachd.

CAIB. IX.

AGUS thubhairt an Tighearna re
Maois, Falbh a steach a dh'ionn-
suidh Pharaoih, agus innis da, Mar so
tha'n Tighearna Dia nan Eabhruidh-
each ag ràdh, Leig le m' shluagh i-
meachd, a chum as gu'n dean iad
seirbhis dhomh:
2 Oir ma dhiùltas tu leigeadh *leo* i-
meachd, agus gu'n cum thu iad fath-
ast,
3 Feuch, bithidh làmh an Tighearn
air do spréidh a *ta* 'sa' mhachair, air
na h-eich, air na h-asail, air na càmh-
ail, air a' chrodh, agus air na caoraich;
bithidh plàigh [a] ro-mhòr ann.
4 Agus cuiridh an Tighearna deal-
achadh eadar spréidh Israeil, agus
spréidh na h-Eiphit: agus cha'n
fhaigh a' bheag bàs a dh'aon *ni a's* le
cloinn Israeil.
5 Agus shuidhich an Tighearn àm,
ag ràdh, Am màireach ni an Tighearn
an ni so 'san tìr.
6 Agus rinn an Tighearn an ni sin
air an là màireach, agus fhuair spréidh
na h-Eiphit uile bàs: ach do spréidh
chloinn Israeil cha d'fhuair a h-aon
bàs.
7 Agus chuir Pharaoh *teachdaire*
uaith agus feuch cha robh eadhon a
h-aon do spréidh nan Israeleach marbh.
Agus chruadhaicheadh cridhe Pha-
raoih, agus cha do leig e an sluagh air
falbh.
8 Agus thubhairt an Tighearna re
Maois, agus re h-Aaron, Gabhaibh
dhuibh féin làn bhur glàc [b] do luaith
teallaich [c], agus crathadh Maois i re
nèamh ann an sealladh Pharaoih:
9 Agus bithidh i 'na duslach mìn
air feadh tìre na h-Eiphit uile, agus
bithidh i 'na neasgaid a' briseadh a
mach 'na bolgaibh air duine, agus air
ainmhidh, air feadh tìre na h-Eiphit
uile.
10 Agus ghabh iad luath na teal-
laich, agus sheas iad 'an làthair Pha-
raoih, agus chrath Maois i re nèamh;
agus rinneadh i 'na neasgaid a' bris-
eadh a mach 'na bolgaibh air duine,
agus air ainmhidh.
11 Agus cha b'urr[...]dh na druidh-
ean seasamh 'an làthair Mhaois air son
na neasgaid; oir bha an neasgaid air
na druidhibh, agus air na h-Eiphitich
uile.
12 Agus chruadhaich an Tighear-
na cridhe Pharaoih, agus cha d'éisd e
riu; mar a labhair an Tighearna re
Maois.
13 Agus thubhairt an Tighearn re
Maois, Eirich suas gu moch 'sa' mhad-
ainn, agus seas 'an làthair Pharaoih,
agus abair ris, Mar so tha'n Tighear-
na Dia nan Eabhruidheach ag ràdh,
Leig le m' shluagh imeachd, a chum
as gu 'n dean iad seirbhis dhomh.
14 Oir air an àm so cuiridh mise
mo phlàighean uile air do chridhe-sa,
agus air do sheirbhisich, agus air do
shluagh; a chum as gu'm bi fios agad
nach '*eil* neach ann cosmhuil riumsa
'san talamh uile.
15 Oir a nis sìnidh mi mach mo
làmh, agus buailidh mi thu féin agus
do shluagh le plàigh; agus gearrar as
thu o 'n talamh.
16 Agus gu deimhin air son so
thog mi suas thu, a chum as gu'n
nochdainn annad mo chumhachd, a-
gus gu'm biodh m'ainm ionraideach [d]
'san domhan uile.

17 Am

[a] *eucail.* [b] *bhur dorn.* [c] *fuirneis, àmbuinn.* [d] *air fhoillseachadh, air [illegible]aobhsgaoileadh.*

17 Am bheil thu fathast 'gad ard-
achadh féin 'an aghaidh mo shluaigh,
air chor as nach leig thu leo imeachd ?
18 Feuch, mu'n àm so màireach
bheir mis' air cloich-mheallain ro-
mhòir [a] frasadh a nuas, nach robh a
samhuil 'san Eiphit, o'n là 'san do
leagadh a bunachur [b] eadhon gus a
nis.
19 Uime sin a nis cuir *fios* uait, *a-
gus* cruinnich do spréidh, agus gach
ni a *ta* agad 'sa' mhachair: *oir* air
gach duine agus ainmhidh a gheibh-
ear 'sa' mhachair, agus nach cruin-
nichear dhachaidh, thig a' chlach-
mheallain a nuas, agus gheibh iad bàs.
20 An ti a ghabh eagal roi' fhocal
an Tighearna measg sheirbhiseach
Pharaoih, thug e air a sheirbhisich a-
gus a spréidh teicheadh do na tighibh :
21 Agus esan nach do ghabh suim
do fhocal an Tighearna, dh'fhàg e a
sheirbhisich agus a spréidh 'sa' mhach-
air.
22 Agus thubhairt an Tighearna
re Maois, Sin a mach do làmh gu
nèamh, chum as gu'm bi clach-mheal-
lain ann an talamh na h-Eiphit uile,
air duine, agus air ainmhidh, agus air
uile luibh na machrach ann an tìr na
h-Eiphit.
23 Agus shìn Maois a mach a shlat
gu nèamh; agus rinn an Tighearna
tairneanach agus clach-mheallain, agus
ruith tein-aidheir air uachdar na talmh-
ainn; agus fhras an Tighearna clach-
mheallain air tìr na h-Eiphit.
24 Mar so bha clach-mheallain ann,
agus teine measgta leis a' chloich-
mheallain ro-mhòir, aig nach robh a
samhuil ann an tìr na h-Eiphit uile, o
rinneadh dùthaich dhith.
25 Agus bhuail a' chlach-mheallain
air feadh tìre na h-Eiphit uile gach
ni a *bha* 'sa' mhachair, araon duine agus
ainmhidh: agus bhuail a' chlach-
mheallain uile luibh na machrach, a-
gus bhris i uile chraobha na mach-
rach.
26 A mhàin ann an talamh Gho-
sein, far *an robh* clann Israeil, cha robh
clach-mheallain.
27 Agus chuir Pharaoh *teachdaire*
uaith, agus ghairm e air Maois agus
air Aaron, agus thubhairt e riu,
Pheacaich mi an uair so: *tha* 'n Tigh-
earna ceart, agus mise agus mo shluagh
aingidh.
28 Guidhibhs' air an Tighearn
(oir is leòr e) nach bi tairneanach
anbarrach [c] agus clach-mheallain ann
ni's mò; agus leigidh mise leibh falbh,
agus cha'n fhan sibh ni's faide.
29 Agus thubhairt Maois ris, Co
luath 's a théid mise mach as a' bhaile,
sìnidh mi mo làmhan a mach a chum
an Tighearna; *agus* sguiridh an tairn-
eanach, agus cha bhi a' chlach-mheal-
lain ann ni's mò; chum as gu'm bi
fios agad gur leis an Tighearn an
talamh.
30 Ach air do shon-sa, agus air son
do sheirbhiseach, a ta fhios agam nach
bi eagal oirbh fathast roimh an Tigh-
earna Dia.
31 Agus bhuaileadh an lìon agus
an t-eòrna; oir *bha* 'n t-eòrna fa dhéis,
agus an lìon fa fhras [d].
32 Ach cha do bhuaileadh an cruith-
neachd agus an seagal; oir cha *robh*
iad air fàs suas.
33 Agus chaidh Maois a mach o
Pharaoh as a' bhaile, agus shìn e mach
a làmha chum an Tighearna; agus
sguir an tairneanach agus a' chlach-
mheallain, agus cha do dhòirteadh an
t-uisge air an talamh.
34 Agus an uair a chunnaic Pha-
raoh gu'n do sguir an t-uisge, agus a'
chlach-mheallain, agus an tairneanach,
pheacaich e fathast mar an ceudna, a-
gus chruadhaich e chridhe, e féin agus
a sheirbhisich.
35 Agus chruadhaicheadh cridhe
Pharaoih, agus cha do leig e clann
Israeil air falbh, mar a labhair an Ti-
ghearna le Maois.

CAIB X.

AGUS thubhairt an Tighearna re
Maois, Imich a steach gu Pha-
raoh; oir chruadhaich mi a chridhe,
agus cridhe a sheirbhiseach; a chum gu
nochdainn iad sin mo chomharan 'na
làthair:
2 Agus gu'n innseadh tu ann an
cluasaibh

[a] *ro-chràiticb, ro-mhilltich.* [b] *lunadh, steidh.* [c] *guthanna Dhé, Ea'lh.*
[d] *ros.*

cluasaibh do mhic, agus mhic do mhic, na nithean a dh' oibrich mi 'san Eiphit, agus mo chomharan a rinn mi 'nam measg; agus gu'n bi fios agaibh gur mise an Tighearna.

3 Agus chaidh Maois agus Aaron a steach gu Pharaoh, agus thubhairt iad ris, Mar so tha'n Tighearna Dia nan Eabhruidheach ag ràdh, Cia fhada dhiùltas tu thu féin ìsleachadh a'm' làthair-sa? Leig le m' shluagh imeachd, agus gu'n dean iad seirbhis dhomh:

4 Ach ma dhiùltas tu leigeadh le m' shluagh imeachd, feuch, bheir mise a màireach na locuist a steach do d' chrìochaibh:

5 Agus còmhdaichidh iad aghaidh na talmhainn, air chor as nach urradh neach an talamh fhaicinn: agus ithidh iad fuigheal an ni sin a théid as [a], a dh'fhanas agaibh o'n chloich-mheallain, agus ithidh iad gach craobh a ta fàs dhuibh as a' mhachair.

6 Agus lìonaidh iad do thighean, agus tighean do sheirbhiseach uile, agus tighean nan Eiphiteach uile; ni nach faca aon chuid t'aithreacha, no aithreacha t'aithreacha, o'n là a bha iad air an talamh gus an là'n diugh. Agus phill se e féin, agus chaidh e mach o Pharaoh.

7 Agus thubhairt seirbhisich Pharaoih ris, Cia fhada bhios an duine so 'na ribe dhuinne? Leig leis na daoine falbh, chum gu'n dean iad seirbhis do'n Tighearn an Dia: nach 'eil fhios agad fathast gu bheil an Eiphit air a milleadh?

8 Agus thugadh Maois agus Aaron a rìs gu Pharaoh: agus thubhairt e riu, Rachaibh, deanaibh seirbhis do'n Tighearna bhur Dia: *ach* cò iad a théid?

9 Agus thubhairt Maois, Le'r n-òigridh agus le'r daoine aosmhar théid sinne; le'r mic agus le'r n-igheanaibh, le'r treudaibh agus le'r buar théid sinn; oir *is éigin* duinn féisd *a chumail* do'n Tighearna.

10 Agus thubhairt e riu, Gu robh an Tighearna mar sin maille ribh, mar a leigeas mise leibh féin agus le'r cloinn bhig imeachd: amhaircibh, oir *tha* olc romhaibh.

11 Ni h-ann mar sin: imichibh a nis, sibhs' a ta 'nar daoinibh, agus deanaibh seirbhis do'n Tighearna, oir *is e* so an ni a dh'iarr sibh: Agus dh'fhuadaicheadh a mach iad as làthair Pharaoih.

12 Agus thubhairt an Tighearna re Maois, Sìn a mach do làmh thar talamh na h-Eiphit air son nan locust, a chum as gu'n d'thig iad suas air talamh na h-Eiphit, agus gu'n ith iad uile luibh na talmhainn, *eadhon* gach ni a dh'fhàg a' chlach-mheallain.

13 Agus shìn Maois a mach a shlat thar talamh na h-Eiphit, agus thug an Tighearna gaoth an ear air an talamh rè an là sin uile, agus rè na h-oidhche uile: *agus* 'sa' mhadainn thug a' ghaoth an ear a steach na locuist.

14 Agus chaidh na locuist suas thar talamh na h-Eiphit uile, agus dh'fhan iad ann an crìochaibh na h-Eiphit uile, gu ro-dhiùbhalach [b]; rompa cha robh riamh an leithide do locuist, agus 'nan déigh cha bhi an leithide:

15 Oir chòmhdaich iad aghaidh na talmhainn uile, air chor as gu'n do dhorchaicheadh an talamh; agus dh'ith iad uile luibh na talmhainn, agus uile mheas nan craobh a dh'fhàg a' chlach-mheallain: agus cha d'fhàgadh ni sam bith glas 'sna craobhaibh, no ann an luibhibh na machrach ann an tìr na h-Eiphit uile.

16 'An sin ghairm Pharaoh air Maois agus air Aaron le cabhaig, agus thubhairt e, Pheacaich mi 'n aghaidh an Tighearna bhur Dé, agus 'nar n-aghaidhsa.

17 A nis uime sin math, guidheam ort, mo pheacadh a mhàin an uair so, agus guidhibh air an Tighearna bhur Dia, gu'n d'thoir e air falbh uam a mhàin am bàs so.

18 Agus chaidh e mach o Pharaoh, agus ghuidh e air an Tighearna.

19 Agus thionndaidh an Tighearna gaoth an iar ro-làdair, a thug air falbh na locuist, agus a thilg iad 'san fhairge ruaidh: cha d'fhan aon locust ann an crìochaibh na h-Eiphit uile.

[a] *a théaruineas.* [b] *ro-mhillteach.*

20 Ach chruadhaich an Tighearna
cridhe Pharaoih, agus cha do leig e
air falbh clann Israeil.

21 Agus thubhairt an Tighearna
re Maois, Sìn a mach do làmh gu
nèamh, agus bithidh dorchadas air
feadh tìre na h-Eiphit, eadhon dorch-
adas *a* dh'fheudar a laimhseachadh.

22 Agus shìn Maois a mach a làmh
gu nèamh: agus bha tiugh dhorcha-
das[a] ann an tìr na h-Eiphit uile rè thri
laithean.

23 Cha'n fhaca h-aon diubh a
chéile, ni mò a dh'éirich neach o àite
rè thri laithean: ach bha aig cloinn
Israeil uile solus 'nan àitibh-còmh-
nuidh.

24 Agus ghairm Pharaoh air
Maois, agus thubhairt e, Rachaibhse,
deanaibh seirbhis do'n Tighearna; a
mhàin fanadh bhur treudan agus bhur
buar: rachadh bhur clann bheag mar
an ceudna maille ribh.

25 Agus thubhairt Maois, Feum-
aidh tu mar an ceudna ìobairtean a
thoirt duinn, agus tabhartais-loisgte,
chum as gu'n ìobair sinn do'n Tigh-
earn ar Dia.

26 Agus mar an ceudna théid ar
spréidh maille ruinn; cha 'n fhàgar
ionga nar déigh[b], oir is éigin duinn
gabhail diubh gu seirbhis a dheanamh
do 'n Tighearn ar Dia; agus cha 'n'eil
fhios againn cia leis a ni sinn seirbhis
do'n Tighearna gus an d' thig sinn 'an
sin.

27 Ach chruadhaich an Tighearna
cridhe Pharaoih, agus cha leigeadh e
leo imeachd.

28 Agus thubhairt Pharaoh ris,
Imich a mach uam; thoir an aire dhuit
féin, na faic m' aghaidh ni's mò: oir
'san là sin anns am faic thu m'aghaidh,
gheibh thu bàs.

29 Agus thubhairt Maois, Labhair
thu gu math; cha 'n fhaic mi t'agh-
aidh ni's mò.

C A I B. XI.

AGUS thubhairt an Tighearna re
Maois, Bheir mi aon phlàigh
fathast air Pharaoh, agus air an Ei-
phit; an déigh sin leigidh e leibh
imeachd as so: an uair a leigeas e
leibh imeachd, gu cinnteach fuadaich-
idh e mach as so sibh gu h-iomlan.

2 Labhair a nis ann an cluasaibh
an t-sluaigh, agus iarradh gach duine
o choimhearsnach, agus gach bean o
ban-choimhearsnaich, seudan airgid,
agus seudan òir.

3 Agus thug an Tighearna deagh-
ghean do'n t-sluagh ann an sùilibh
nan Eiphiteach: Mar an ceudna, *bha*
'n duine Maois ro-mhòr 'an tìr na h-
Eiphit, ann an sùilibh sheirbhiseach
Pharaoih, agus ann an sùilibh an t-
sluaigh.

4 Agus thubhairt Maois, Mar so
tha'n Tighearn ag ràdh, Mu mheadh-
on-oidhche théid mi mach do mheadh-
on na h-Eiphit:

5 Agus gheibh gach ceud-ghin ann
an tìr na h-Eiphit bàs, o cheud-ghin
Pharaoih, a ta 'na shuidhe air a righ-
chathair, eadhon gu ceud-ghin na ban-
tràille[c] a *ta* air cùl a' mhuilinn, agus
uile cheud-ghin nan ainmhidhean.

6 Agus bithidh éigheach[d] mhòr
ann an tìr na h-Eiphit uile, nach robh
riamh a leithid ann, ni mò bhitheas a
leithid ann tuilleadh.

7 Ach 'an aghaidh a h-aon do
chloinn Israeil cha charuich[e] madadh
a theanga, aon chuid 'an aghaidh
duine no ainmhidh; chum as gu'm
bi fios agaibh cionnus a chuireas an
Tighearna dealachadh eadar na h-Ei-
phitich agus Israel.

8 Agus thig iad sin do sheirbhisich
uile sìos a'm' ionnsuidhsa, agus crom-
aidh siad iad féin domh, ag ràdh,
Imich a mach, agus an sluagh uile a
ta 'gad leantuinn; agus 'an déigh sin
théid mi mach. Agus chaidh e mach
o Pharaoh ann an corruich mhòir.

9 Agus thubhairt an Tighearna re
Maois, Cha'n éisd Pharaoh ribh, a
chum as gu meudaichear m'iongan-
tais[f] ann an tìr na h-Eiphit.

10 Agus rinn Maois agus Aaron
na h-iongantais sin uile 'am fianuis
Pharaoih: agus chruadhaich an Ti-
ghearna cridhe Pharaoih, agus cha do
leig e le cloinn Israeil imeachd as a
dhùthaich.

[a] *dall-dhorchadas.* [b] *Na'n fhàgar speir 'nar déigh.* [c] *na ban-seirbhisich.*
[d] *éigh, eubha, glaodhaich.* [e] *cha ghluais.* [f] *mo mhiorbhuilean.*

C A I B. XII.

AGUS labhair an Tighearna re
Maois agus re h-Aaron ann an
talamh na h-Eiphit, ag ràdh,
2 *Bithidh* am mìos ſo dhuibh 'na
thoiſeach nam mìos: *bithidh* e dhuibh
'na cheud mhìos na bliadhna.
3 Labhraibh-ſa re coi'-thional Iſ-
raeil uile, ag ràdh, Air an deicheamh
là do'n mhìos ſo gabhaidh iad dhoibh
féin gach duine uan, a réir tighe *an*
aithreacha, uan air ſon tighe.
4 Agus ma bhios an teaghlach ro-
bheag air ſon uain, 'an ſin gabhaidh
eſan agus a choimhearſnach a's faigſe
d'a thigh *e*, a réir àireimh nan anman-
na; gach duine, a réir itheannaich,
àirmhear leibh air ſon an uain.
5 *Bithidh* bhur n-uan gun ghaoid [a],
fìrionn, bliadhna dh'aois [b]: as na caoir-
ibh no as na gabhraibh gabhaidh
ſibh *e*.
6 Agus gleidhidh ſibh a ſtigh e gu
nuig an ceathramh là deug do'n mhìos
ſo: agus marbhaidh co'-chruinneach-
adh iomlan chloinn Iſraeil e 'ſan fheaſ-
gar [c].
7 Agus gabhaidh iad do'n fhuil, a-
gus cuiridh iad i air an dà urſainn, a-
gus air ard-dorus nan tighean, anns an
ith iad e.
8 Agus ithidh iad an fheoil 'ſan
oidhche ſin féin ròiſte le teine, agus
aran neo-ghoirtichte [d]; maille re *luibh-
ibh* searbha ithidh iad e.
9 Na ithibh a' bheag dheth amh,
no idir air a bhruicheadh [e] ann an
uiſge, ach ròiſte le teine: a cheann
maille r'a chaſaibh, agus maille r'a
ghrealaich [f].
10 Agus cha'n fhàg ſibh *a' bheag*
dheth gu madainn: agus na dh'fhàgar
dheth gu madainn, loiſgidh ſibh le
teine.
11 Agus mar ſo ithidh ſibh e; le'r
leaſraidh crioſraichte, bhur brògan
air bhur caſaibh, agus bhur lorg [g] 'nar
làimh: agus ithidh ſibh e le cabhaig;
'ſe càiſg [h] an Tighearn a th'ann.
12 Oir théid miſe troi' [k] thìr na h-
Eiphit air an oidhche ſo, agus buailidh
mi gach ceud-ghin ann an tìr na h-
Eiphit, araon duin' agus ainmhidh;
agus 'an aghaidh dhée nan Eiphiteach
uile cuiridh mi breitheanas 'an gnìomh:
is miſe an Tighearna.
13 Agus bithidh an fhuil dhuibh
mar chomhar' air na tighibh anns am
bheil ſibh: agus an uair a chi mis' an
fhuil, théid mi thairis oirbh, agus cha
bhi phlàigh oirbh a chum *bhur* mill-
idh, 'nuair a bhuaileas mi tìr na h-Ei-
phit [l].
14 Agus bithidh an là ſo dhuibh
mar chuimhneachan; agus gleidhidh
ſibh e 'na là-féill [m] do'n Tighearn air
feadh bhur ginealacha; le h-ordugh
sìorruidh gleidhidh ſibh e.
15 Seachd laithean ithidh ſibh aran
neo-ghoirtichte; air a' cheud là féin
cuiridh ſibh a mach taois ghoirt as
bhur tighibh: oir gach neach a dh'-
itheas aran goirtichte, o'n cheud là gus
an t-seachdamh là, gearrar an t-anam
ſin as o Iſrael.
16 Agus air a' cheud là *bithidh a-
gaibh* co'-ghairm naomha, agus air an
t-seachdamh bithidh agaibh co'-ghairm
naomha: obair 'ſam bith cha deanar
orra, saor o na dh'ithear leis gach
neach; ſin a mhàin nìthear leibh.
17 Agus cumaidh ſibh *féiſd an*
arain neo-ghoirtichte; oir air an là ſin
féin [n] thug miſe mach bhur ſlòigh [o] a
tìr na h-Eiphit; uime ſin coimhididh
ſibh an là ſo 'nar ginealachaibh, le h-
ordugh sìorruidh.
18 'Sa' cheud *mhìos*, air a' cheath-
ramh là deug do'n mhìos 'ſan fheaſgar,
ithidh ſibh aran neo-ghoirtichte, gu
nuig an ceud là 'ar fhichead do'n mhìos
'ſan fheaſgar.
19 Rè ſheachd laithean cha'n fhaigh-
ear taois ghoirt 'nar tighibh; oir ge
b'e neach a dh'itheas aran goirtichte,
gearrar an t-anam ſin féin as o cho'-
thional Iſraeil, co dhiubh [p] is coigreach
e, no neach a rugadh 'ſan tìr.
20 Ni air bith goirtichte cha'n ith
ſibh: 'nar n-àitibh-còmhnuidh uile
ithidh ſibh aran neo-ghoirtichte.

21

[a] *gun oineamh, fallain.* [b] *bliadhnach.* [c] *eadar an dà fheaſgar.* Eabh.
[d] *gun laibhin.* [e] *bhruitheadh.* [f] *innibh.* [g] *bata.* [h] *dol thairis.* Eabh.
[k] *air feadh; tre.* Eir. [l] *'nuair a bhuaileas mi dìon an tìr na h-Eiphit.* Eabh.
[m] *là-féiſde.* [n] *ann an corp an là ſin.* Eabh. [o] *armailtean.* [p] *co ac.*

21 'An sin ghairm Maois air sean-
airean Israeil uile, agus thubhairt e
riu, Tairngibh a mach, agus gabhaibh
dhuibh féin uan, a réir bhur teagh-
laichean, agus marbhaibh a' chàisg.
22 Agus gabhaidh sibh bad hìosoip,
agus tumaidh sibh *e* 'san fhuil a ta 'san
t-soitheach, agus beanaidh sibh do'n
ard-dorus, agus do'n dà ursainn, leis
an fhuil a *ta* 'san t-soitheach: agus
cha d' théid a h-aon agaibh a mach
air dorus a thighe gu nuig a' mha-
dainn.
23 Agus théid an Tighearna thairis
a bhualadh nan Eiphiteach; agus an
uair a chi e 'n fhuil air an ard-dorus,
agus an dà ursainn, théid an Tigh-
earna thairis air an dorus, agus cha
leig e leis a' mhillteir teachd a steach
d'ar tighibh gu '*r* bualadh.
24 Agus gleidhidh sibh an ni so
mar ordugh dhuibh féin, agus d'ar
mic [a], gu sìorruidh.
25 Agus tarlaidh 'nuair a théid
sibh a steach do'n fhearann a bheir
an Tighearna dhuibh, a réir mar a
gheall e, gu'n gleidh sibh an t-seirbhis
so.
26 Agus tarlaidh, 'nuair a their
bhur clann ruibh, Ciod *is ciall duibh*
leis an t-seirbhis so?
27 Gu'n abair sibh, So ìobairt càisg
an Tighearna, a chaidh thairis air
tighibh chloinn Israeil 'san Eiphit,
'nuair a bhuail e na h-Eiphitich, agus
a shaor e ar tighean-*ne*. Agus chrom
an sluagh iad féin, agus rinn iad
aoradh.
28 Agus dh'fhalbh clann Israeil, a-
gus rinn iad *mar so*; mar a dh'àithn
an Tighearna do Mhaois agus do Aa-
ron, mar sin rinn iad
29 Agus air meadhon na h-oidhche
sin féin bhuail an Tighearna gach
ceud-ghin ann an tìr na h-Eiphit, o
cheud-ghin Pharaoih a shuidh air a
righ-chathair, gu ceud-ghin a' chio-
maich [b] a *bha* ann an slochd a' phrìo-
sain [c]; agus gach ceud-ghin ain-
mhidh.
30 Agus dh'éirich Pharaoh 'san
oidhche, e féin agus a sheirbhisich
uile, agus na h-Eiphitich uile; agus
bha éigheach mhòr 'san Eiphit, oir
cha *robh* tigh anns nach *robh neach*
marbh.
31 Agus ghairm e air Maois agus
air Aaron 'san oidhche, agus thubhairt
e, Eiribh, rachaibh a mach a mea-
dhon mo shluaigh, araon sibhse agus
clann Israeil: agus rachaibh, deanaibh
seirbhis do'n Tighearna, mar a *thu-
bhairt* sibh.
32 Thugaibh leibh mar an ceudna
bhur treudan, agus bhur buar, mar a
thubhairt sibh, agus imichibh: agus
beannaichibh mise mar an ceudna.
33 Agus thug na h-Eiphitich dian-
sparradh [d] do'n t-sluagh, a chum gu'n
cuireadh iad le cabhaig a mach as an
tìr iad: oir thubhairt iad, *Is daoine*
marbha sinn gu léir.
34 Agus ghabh an sluagh an taois
mun do ghoirticheadh i, an amaran-
fuinidh ceangailte 'nan eudach air an
guaillibh.
35 Agus rinn clann Israeil a réir
focail Mhaois: agus dh'iarr iad o na
h-Eiphitich seudan airgid, agus seudan
òir, agus eudach.
36 Agus thug an Tighearna deagh-
ghean do'n t-sluagh ann an sùilibh nan
Eiphiteach, agus thug iad 'an coin-
gheall [e] dhoibh: agus chreach iad na
h-Eiphitich.
37 Agus dh'imich clann Israeil o
Rameses gu Sucot, mu thimchioll sè
ceud mìle fear d'an cois, a thuilleadh
air cloinn.
38 Agus mar an ceudna chaidh
iomadaidh do shluagh eile [f] suas maille
riu, agus treudan, agus buar, ro-mhòr-
an spréidhe [g].
39 Agus dh'fhuin iad do'n taois a
thugadh a mach as an Eiphit breacaga
neo-ghoirtichte, oir cha do ghoirtich-
eadh i; do bhrìgh gu 'n d'fhuadaich-
eadh iad a mach as an Eiphit, agus
nach b'urrainn iad fuireach, agus mar
an ceudna nach do dheasaich iad biadh
dhoibh féin.
40 A nis *b'i aimsir* cuairte chloinn
Israeil, a bha iad a chòmhnuidh 'san
Eiphit, ceithir cheud agus deich
bliadhna fichead.
41 Agus aig ceann nan ceithir
cheud

[a] *duit féin agus do d' mhac.* Eabh.
[b] *a' bhraighde; the captive.* Sasg.
[c] *na gain-tire.*
[d] *geur-impidh.*
[e] *iasad.*
[f] *cumasg mòr sluaigh.*
[g] *ro-mhòran ni.*

cheud agus nan deich bliadhn' 'ar fhichead, air an là ſin féin, chaidh ſlòigh an Tighearn uile mach a tìr na h-Eiphit.

42 *Is* oidhche ſo gu bhi air a coimhead[a] gu h-àraidh do'n Tighearna, air ſon an toirt-ſan a mach a tìr na h-Eiphit: ſo an oidhche ſin gu bhi air a coimhead do'n Tighearna le cloinn Iſraeil uile 'nan ginealachaibh.

43 Agus thubhairt an Tighearna re Maois agus re h-Aaron, So ordugh na càiſge: cha'n ith coigreach[b] ſam bith dhith.

44 Agus gach ſeirbhiſeach duine, a cheannaicheadh le h-airgiod, an uair a thimchioll-ghearras tu e, 'an ſin ithidh e dhith.

45 Cha'n ith coigreach no ſeirbhiſeach tuaraſdail dhith.

46 Ann an aon tigh ithear i: cha ghiùlain thu bheag do'n fheoil a mach as an tigh; ni mò a bhriſeas ſibh cnàimh dhith.

47 Ni coi'-thional Iſraeil uile ſin.

48 Agus an uair a bhios coigreach air chuairt maille riut, agus a chumas e càiſg do'n Tighearna, timchioll-ghearrar gach firionnach aige, agus 'an ſin thigeadh e am fagus g'a cumail, agus bithidh e mar neach a rugadh 'ſan tìr: ach cha'n ith neach ſam bith neo-thimchioll-ghearrta dhith.

49 Bithidh an t-aon lagh aige-ſan a rugadh 'ſan tìr, agus aig a' choigreach a ta air chuairt 'nar meaſg.

50 Mar ſo rinn clann Iſraeil uile: mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois agus do Aaron, mar ſin rinn iad.

51 Agus air an là ſin féin thug an Tighearna mach clann Iſraeil a tìr na h-Eiphit a réir an ſlògh[c].

C A I B. XIII.

AGUS labhair an Tighearna re Maois, ag ràdh,

2 Naomhaich dhomhſa gach ceud-ghin, ge b'e air bith a dh'fhoſgaileas a' bhrù[d] a' meaſg cloinn Iſraeil, eadar duine agus ainmhidh: *is* leamſa e.

3 Agus thubhairt Maois ris an t-ſluagh, Cuimhnichibh an là ſo, air an d'thàinig ſibh a mach as an Eiphit, a tigh na daorſa; oir le làimh thréin thug an Tighearn a mach ſibh as ſin: agus cha'n ithear[e] aran goirtichte.

4 Air an dà 'n diugh thàinig ſibh a mach 'am mìos Abib.

5 Agus an uair a bheir an Tighearna ſteach thu do thìr nan Canaanach, agus nan Hiteach, agus nan Amorach, agus nan Hibheach, agus nan Iebuſach, a mhionnaich e do d' aithreachaibh gu'n d' thugadh e dhuit, fearann a' ſruthadh le bainne agus le mil, 'an ſin coimhididh tu an t-ſeirbhis ſo anns a' mhìos ſo.

6 Seachd laithean ithidh tu aran neo-ghoirtichte, agus air an t-ſeachdamh là *bithidh* féiſd do 'n Tighearna.

7 Ithear aran neo-ghoirtichte ſeachd laithean; agus cha'n fhaicear aran goirtichte agad, agus ni mò a chithear taois ghoirt agad ann ad chrìochaibh uile.

8 Agus innſidh tu do d' mhac 'ſan là ſin, ag ràdh, *Nìthear ſo* air ſgàth an nì ſin *a* rinn an Tighearna dhomhſa, 'nuair a thàinig mi mach as an Eiphit.

9 Agus bithidh e dhuit mar comhar' air do làimh, agus mar chuimhneachan eadar do ſhùilibh, a chum gu'm bi lagh an Tighearn ann do bheul; oir le làimh thréin thug an Tighearna mach thu as an Eiphit.

10 Air an aobhar ſin coimhididh[f] tu an t-ordugh ſo 'na thrà[g] féin o bhliadhna gu bliadhna.

11 Agus an uair a bheir an Tighearna ſteach thu do thìr nan Canaanach, mar a mhionnaich e dhuitſe, agus do d' aithreachaibh, agus a bheir e dhuit e,

12 'An ſin cuiridh tu air leth do'n Tighearna gach nì a dh'fhoſgaileas a' bhrù, agus gach ceud-ghin, a thig o ainmhidh a's leat-ſa, *buinidh iadſan a tà* firionn '*nam meaſg* do'n Tighearna.

13 Agus gach ceud-ghin aſail fuaſgailidh tu le h-uan; agus mur fuaſgail thu *e*, 'an ſin briſidh tu amhach: agus gach ceud-ghin duine a' meaſg do chloinne fuaſgailidh tu.

14 Agus an uair a dh'fheòraicheas do mhac dhìot 'ſan aimſir re teachd,

ag

[a] *cumail, gleidheadh.* [b] *mac coigrich.* Eabh. [c] *an armailtean.* [d] *a mhachlag; womb.* Saſg. [e] *cha'n ichear.* [f] *gleidhidh.* [g] *thràth, àm.*

, ag ràdh, Ciod e so? 'an sin their thu
ris, Le làimh thréin thug an Tighear-
na mach sinn as an Eiphit, a tigh na
daorsa:
15 Agus an uair a chruadhaich
Pharaoh e féin, agus nach b'àill léis
an leigeadh air falbh, 'an sin mharbh
an Tighearna gach ceud-ghin ann an
tìr na h-Eiphit, araon ceud-ghin duine,
agus ceud-ghin ainmhidh; air an ao-
bhar sin ìobraidh mi do'n Tighearna
gach ni a dh'fhosgaileas a' bhrù, *ma 's*
firionnaich *iad*, ach uile cheud-ghin mo
chloinne fuasgailidh mi.
16 Agus bithidh e mar chomhar'
air do làimh, agus mar eudanan eadar
do shùilibh; oir le làimh thréin thug
an Tighearn a mach sinn as an Ei-
phit.
17 Agus eadhon an uair a leig
Pharaoh do'n t-sluagh imeachd, cha
do threòraich[a] Dia iad *air* slighe tìre
nam Philisteach, ge do *bha* sin aith-
ghearr: oir thubhairt Dia, An t-eagal
gu'm bi aithreachas air an t-sluagh an
uair a chi iad cogadh, agus gu'm pill
iad do'n Eiphit.
18 Ach threòraich Dia an sluagh
m'an cuairt, *air* slighe fàsaich na mara
ruaidhe: agus chaidh clann Israeil
suas 'an ordugh catha a tìr na h-Ei-
phit.
19 Agus thug Maois cnàmhan Io-
seiph leis; oir ghabh e mionnan teann
do chloinn Israeil, ag ràdh, Gu cinnt-
each amhaircidh Dia oirbhse, agus
bheir sibh suas mo chnàmha leibh as
so.
20 Agus dh'imich iad o Shucot, a-
gus champaich iad ann an Etam, ann
an iomall an fhàsaich.
21 Agus chaidh an Tighearna
rompa 'san là ann am neall[b] neoil, a
chum an treòrachadh air an t-slighe,
agus 'san oidhche ann am-meall teine,
a thoirt soluis doibh; gu imeachd a là
agus a dh'oidhche.
22 Cha d' thug e air falbh am meall
neoil 'san là, no 'm meall teine 'san
oidhche, as làthair an t-sluaigh.

C A I B. XIV.

AGUS labhair an Tighearna re
Maois, ag ràdh,
2 Labhair re cloinn Israeil, gu 'm
pill iad, agus gu 'n campaich iad 'sa
chomhair Phihahirot, eadar Migdol
agus an fhairge, fa chomhair Bhaal-
sephoin: fa choinneamh-san campaich-
idh sibh làimh ris an fhairge.
3 Oir their Pharaoh mu chloinn Is-
raeil, *Tha* iad air seachran[c] 'san tìr,
dh'iadh am fàsach mu'n timchioll.
4 Agus cruadhaichidh mise cridhe
Pharaoih, agus théid e air an tòir, a-
gus gheibh mise glòir a thaobh Pha-
raoih agus a shlòigh uile; agus bithidh
fios aig na h-Eiphitich gur mise an
Tighearna. Agus rinn iad mar sin.
5 Agus dh'innseadh do righ na h-
Eiphit gu'n do theich an sluagh: agus
thionndaidh cridhe Pharaoih, agus a
sheirbhiseach 'an aghaidh an t-sluaigh,
agus thubhairt iad, Ciod e so a rinn
sinn, gu'n do leig sinn le h-Israel
imeachd as ar seirbhis?
6 Agus bheartaich[d] e a charbad,
agus thug e a shluagh maille ris;
7 Agus thug e leis sè ceud carbad
taghta, agus uile charbada na h-Eiphit,
agus ceannardan orra uile.
8 Agus chruadhaich an Tighearna
cridhe Pharaoih righ na h-Eiphit, a-
gus lean e air tòir chloinn Israeil: agus
chaidh clann Israeil a mach le làimh
ard.
9 Ach chaidh na h-Eiphitich air an
tòir (eich *agus* carbadan Pharaoih, a-
gus a mharc-shluagh, agus armailt
uile) agus rug iad orra, *agus iad* a'
campachadh làimh ris an fhairge,
làimh re Pihahirot, fa chomhair Bhaal-
sephoin.
10 Agus an uair a thàinig Pharaoh
am fagus, thog clann Israeil suas an
sùilean, agus feuch, bha na h-Eiphitich
air an tòir, agus bha eagal mòr orra;
agus dh'éigh clann Israeil ris an Tigh-
earna.
11 Agus thubhairt iad re Maois,
An ann a chionn nach *robh* uaighean
'san Eiphit a thug thu leat sinn gu bàs
fhaghail 'san fhàsach? C'ar son a
rinn thu so oirnn, ar tabhairt a mach as
an Eiphit?
12 Nach e so am focal a labhair
sinn riut 'san Eiphit, ag ràdh, Leig
leinn seirbhis a dheanamh do na h-
Eiphitich?

[a] *cha d'thug.* [b] *stuf, baideal; pillar.* Sasg. [c] *air an amaladh.*
[d] *dh'aluich.*

Eiphitich? Oir *b'*fhearr dhuinn ſeir-
bhis a dheanamh do na h-Eiphitich na
bàs fhaghail 'ſan fhàſach.
13 Agus thubhairt Maois ris an
t-ſluagh, Na biodh eagal oirbh, ſeaſ-
aibh, agus faicibh ſlàint' an Tighearn,
a dh'oibricheas e dhuibh an diugh; oir
na h-Eiphitich a chunnaic ſibh an
diugh, cha'n fhaic ſibh iad a chaoidh'
tuilleadh.
14 Cogaidh an Tighearn [a] air bhur
ſon, agus ſanaidh ſibhſe 'nar toſd.
15 Agus thubhairt an Tighearna
re Maois, C'ar ſon a ta thu 'g éigh-
each riumſa? Abair re cloinn Iſraeil
dol air an aghaidh.
16 Ach togſa ſuas do ſhlat, agus
sìn a mach do làmh os cionn na fairge,
agus ſgoilt i; agus théid clann Iſraeil
a ſteach 'am meadhon na fairge air
talamh tioram.
17 Agus cruadhaichidh miſe, eadh-
on miſe, cridhe nan Eiphiteach, agus
théid iad a ſteach 'nan déigh: agus
gheibh miſe glòir a thaobh Pharaoih
agus a thaobh a ſhlòigh uile, a thaobh
a charbadan, agus a thaobh a mharc-
ſhluaigh.
18 Agus bithidh fios aig na h-Eiph-
itich gur miſe an Tighearna, 'nuair a
gheibh mi glòir a thaobh Pharaoih, a
thaobh a charbadan, agus a thaobh a
mharc-ſhluaigh.
19 Agus dh'fhalbh aingeal an Ti-
ghearn a chaidh roimh champa Iſraeil,
agus dh'imich e 'nan déigh; agus
dh'fhalbh am meall neoil o'm beul-
aobh, agus ſheas e air an cùlaobh.
20 Agus thàinig e eadar campa nan
Eiphiteach agus campa Iſraeil, agus
bha e 'na neul, agus 'na dhorchadas
dhoibh ſud, ach ſhoillſich e 'n oidhche
dhoibh ſo, air chor as nach d'thàinig a
h-aon diubh am fagus d'a chéile rè na
h-oidhche.
21 Agus ſhìn Maois a mach a làmh
os cionn na fairge, agus thug an Tigh-
earn air an fhairge dol *air a h-ais* le
gaoith làdair o 'n ear rè na h-oidhche
ſin, agus rinn e 'n fhairge 'na *talamh*
tioram, agus roinneadh na h-uiſgeacha.
22 Agus chaidh clann Iſraeil a ſteach
'am meadhon na fairge air *talamh* tio-
ram, agus *bha* na h-uiſgeacha 'nam
balla dhoibh air an làimh dheis, agus
air an làimh chlì.
23 Agus lean na h-Eiphitich, agus
chaidh iad a ſteach 'nan déigh gu mea-
dhon na fairge, *eadhon* eich Pha-
raoih uile, a charbadan, agus a mharc-
ſhluagh.
24 Agus ann am faire na maidne
dh'amhairc an Tighearn air ſluagh nan
Eiphiteach troimh [b] 'n mheall theine,
agus neoil; agus chlaoidh e armailt
nan Eiphiteach.
25 Agus thug e air falbh rothan an
carbad, air chor as gu'n do tharruing-
eadh iad gu trom. Agus thubhairt
na h-Eiphitich, Teicheamaid as làthair
Iſraeil, oir tha 'nTighearna cogadh leo-
ſan 'an aghaidh nan Eiphiteach.
26 Agus thubhairt an Tighearna
re Maois, Sìn a mach do làmh os
cionn na fairge, chum gu'n d'thig na
h-uiſgeachan air an ais air na h-Eiph-
itich, air an carbadaibh, agus air am
marc-ſhluagh.
27 Agus ſhìn Maois a mach a
làmh os cionn na fairge, agus phill an
fhairge g'a neart an uair a ſhoillſich a'
mhadainn; agus theich na h-Eiphitich
'na h-aghaidh: agus chuir an Tigh-
earna na h-Eiphitich fodha [c] 'am mea-
dhon na fairge.
28 Agus phill na h-uiſgeachan, agus
dh'fholaich iad na carbaid, agus am
marc-ſhluagh, *agus* armailt Pharaoih [d]
uile, a thàinig 'ſan fhairge 'nan déigh:
cha d'fhàgadh uiread 's a h-aon diubh.
29 Ach dh'imich clann Iſraeil air
talamh tioram 'am meadhon na fairge,
agus *bha* na h-uiſgeacha 'nam balla
dhoibh air an làimh dheis, agus air an
làimh chlì.
30 Mar ſo ſhaor an Tighearn Iſrael
air an là ſin a làimh nan Eiphiteach:
agus chunnaic Iſrael na h-Eiphitich
marbh air tràigh na fairge.
31 Agus chunnaic Iſrael an obair [e]
mhor ſin a rinn an Tighearn air na
h-Eiphitich, agus bha eagal an Tigh-
earn air an t-ſluagh, agus chreid iad an
Tighearna, agus Maois a ſheirbhiſeach.

CAIB.

[a] *Ni an Tighearna cogadh.* [b] *trid* Eir. [c] *thilg e iad bun os cionn.*
[illegible] [d] *làmh* Eabh.

C A I B. XV.

1 AN ſin chan [a] Maois agus clann Iſraeil an laoidh [b] ſo do'n Tighearna, agus labhair iad, ag ràdh, Canaidh miſe do 'n Tighearn, oir thug e buaidh gu glòrmhar; an t-each agus a mharcach thilg e 'ſan fhairge.

2 'S e 'n Tighearna mo neart, agus *mo* dhàn [c], agus tha e 'na ſhlainte dhomh: 's eſan mo Dhiaſa, agus ni mi àite còmhnuidh dha; Dia m' athar, agus ardaichidh mi e.

3 *Is* fear-cogaidh an Tighearna; '*se* 'n Tighearn a's ainm dha.

4 Carbadan Pharaoih, agus armailt thilg e 'ſan fhairge; agus tha rogha a cheannardan air am bàthadh 'ſan fhairge ruaidh [d].

5 Dh'fholaich na doimhneachdan iad; chaidh iad ſios do'n aigean mar chloich.

6 Rinneadh do dheas làmh, O Thighearna, glòrmhar ann an cumhachd; bhris do dheas làmh, O Thighearn, an nàmhaid 'na bhloighdibh.

7 Agus ann am meud t'òir-dheirceis chlaoidh thu iadſan a dh'éirich ſuas a'd' aghaidh; chuir thu t'fhearg a mach, loiſg i ſuas [e] iad mar aſbhuain.

8 Agus le anail do ſhròine chruinnicheadh na h-uiſgeacha; ſheas na tuilte ſuas mar thorr [f], chruadhaich [g] na doimhneachdan 'am meadhon na fairge.

9 Thubhairt an nàmhaid, Leanaidh mi, beiridh mi orra, roinnidh mi a' chreach: ſàſuichear mo mhiann orra; rùiſgidh mi mo chlaidheamh, ſgrioſaidh mo làmh iad [h].

10 Shéid thu le d' ghaoith, chòmhdaich an fhairge iad, chaidh iad fodha mar luaidh anns na h-uiſgeachaibh làdair.

11 Cò 's coſmhuil riut' am meaſg nan Dé [k], a Tighearna? Cò *tha* coſmhuil riut, glòrmhar ann an naomhachd, àghmhor [l] ann am moladh [m], a' deanamh *nithe* iongantach?

12 Shin thu mach do dheas làmh; ſhluig an talamh ſuas iad.

13 Threòraich thu ann ad thròcair an ſluagh ſo *a* ſhaor thu; thug thu *iad* ann ad neart a chum àite còmhnuidh do naomhachd.

14 'Nuair a chluinneas na cinnich, bithidh eagal orra; thig doilgheas air luchd-àiteachaidh Phaleſtina.

15 'An ſin bithidh uamhann air cinn-fheadhna [n] Edoim, thig geiltchrith air daoine treuna Mhoaib; leaghaidh air falbh luchd-àiteachaidh Chanaain uile.

16 Tuitidh uamhann agus eagal orra, le meud do ghairdein bithidh iad tosdach mar chloich gus an d'théid do ſhluagh thairis, a Tighearna, gus an d' théid an ſluagh ſo thairis, *a* cheannaich thu.

17 Bheir thu ſteach iad, agus ſuidhichidh tu iad ann an ſliabh [o] t' oighreachd-ſa; anns an àit' a rinn thu dhuit féin a Thighearna, chum còmhnuidh a ghabhail ann, '*ſan* ionadnaomha, a Thighearn, *a* dhainguich do làmha-ſa.

18 Rìoghaichidh an Tighearna gu ſaoghal nan ſaoghal.

19 Oir chaidh eich Pharaoih a ſteach le charbadaibh, agus le mharc-ſhluagh, 'ſan fhairge, agus thug an Tighearn uiſgeacha na fairge air an ais orra; ach dh'imich clann Iſraeil air *talamh* tioram 'am meadhon na fairge.

20 Agus ghlac Miriam a' bhanfhàidh, piuthar Aaroin, tiompan 'na làimh agus chaidh na mnài uile mach 'na déigh le tiompanaibh agus le dannſa [p].

21 Agus fhreagair Miriam iad, Canaibh do'n Tighearn, oir thug e buaidh gu glòrmhar; an t-each agus a mharcach thilg e 'ſan fhairge.

22 Mar ſin thug Maois Iſrael o'n mhuir ruaidh, agus chaidh iad a mach gu fàſach Shuir, agus dh'imich iad tri laithean 'ſan fhàſach, agus cha d'fhuair iad uiſge.

23 Agus an uair a thàinig iad gu Marah, cha b' urradh iad uiſgeacha Mharaih òl, oir bha iad ſearbh; uime ſin thugadh Marah mar ainm air.

24 Agus rinn an ſluagh gearan [q] an

[a] *ſheinn.* [b] *òran.* [c] *m'òran, mo chliu.* [d] *'ſan fhairge ſheamuinich.* [e] *dh'ith i ſuas, chuir i as doibh.* Eabh. [f] *mar ghruaigh, mar mheall.* [g] *dhaingnicheadh.* [h] *ſealbhaichidh mo làmh iad mar oighreachd, bithidh tighearnas aig mo làimh orra.* Eabh. [k] *meaſg nan cumhachdach.* [l] *a'd' chùis eagail, urramach.* [m] *'am mollaibh.* [n] *ceannardan.* [o] *ann am beinn.* [p] *le feadagaibh.* [q] *monmhor, duarman.*

an aghaidh Mhaois, ag ràdh, Ciod a
dh'òlas sinn?
25 Agus dh'éigh esan ris an Tigh-
earna, agus nochd an Tighearna fiodh[a]
dha, agus thilg e 'sna h-uisgeachaibh
e, agus rinneadh na h-uisgeacha milis:
ann an sin rinn e lagh agus ordugh
dhoibh, agus ann an sin dhearbh e
iad;
26 Agus thubhairt e, Ma dh'éisdeas
tu gu durachdach re guth an Tighear-
na do Dhè, agus ma ni thu an ni sin a
ta ceart 'na shealladh, agus ma bheir
thu 'n aire d'a àitheantaibh, agus ma
ghleidheas tu a reachdan[b] uile, h-aon
do na h-eucailibh[c] a chuir mi air na
h-Eiphitich, cha chuir mi ortsa: oir
is mise an Tighearn a shlànuicheas
thu.
27 Agus thàinig iad gu h-Elam
far *an robh* dà thobar dheug uisge, a-
gus deich agus tri fichead crann[d]
pailme; agus champaich iad[e] 'an sin
làimh ris na h-uisgeachaibh.

C A I B. XVI.

AGUS dh'fhalbh iad o Elim, agus
thàinig coi'-thional chloinn Is-
raeil uile gu fàsach Shin, a *ta* eadar
Elim agus Sinai, air a' chùigeadh la
deug do'n dara mìos 'an déigh dhoibh
teachd a mach a tìr na h-Eiphit.
2 Agus rinn coi'-thional chloinn
Israeil uile gearan 'an aghaidh Mhaois
agus Aaroin 'san fhàsach.
3 Agus thubhairt clann Israeil riu,
B'fhearr gu'm faigheamaid bàs le
làimh an Tighearn ann an tìr na
h-Eiphit, an uair a bha sinn 'nar
suidhe làimh ris na poitibh feòla, *agus*
an uair a dh'ith sinn aran gu'r sàth;
oir thug sibh a mach sinn do'n fhàsach
so, a mharbhadh a' choi'-thionail so
uile le h-ocras.
4 'An sin thubhairt an Tighearna
re Maois, Feuch, frasaidh mise dhuibh
aran o nèamh, agus théid a'n sluagh
a mach, agus cruinnichidh iad cuibh-
rionn *gach* là air an là sin féin, a chum
as gu'n dearbh mi iad, co ac' a ghluais-
eas iad ann am[f] lagh, no nach gluais.
5 Agus air an t-seathadh là ulluich-
idh iad an *ni sin* a bheir iad a steach, agus
bithidh e dhà uibhir agus a chruinn-
icheas iad gach là *eile*
6 Agus thubhairt Maois agus Aaron
re cloinn Israeil uile, Mu fheasgar, 'an
sin bithidh fios agaibh gu'n d'thug an
Tighearn a mach sibh a tìr na h-Ei-
phit:
7 Agus 'sa' mhadainn, 'an sin chi
sibh glòir an Tighearna; do bhri' gu
bheil e a' cluinntinn bhur gearain 'an
aghaidh an Tighearna: Agus ciod
sinne, gu bheil sibh a deanamh gear-
ain 'nar n-aghaidh?
8 Agus thubhairt Maois, *Bithidh a'
chùis mar so* 'nuair a bheir an Tigh-
earna dhuibh 'san fheasgar feoil r'a
h-itheadh, agus aran 'sa' mhadainn gu'r
sàth; do bhri' gu bheil an Tighearn
a' cluinntinn bhur gearain a ta sibh
a' deanamh 'na aghaidh: Agus ciod
sinne? cha'n ann 'nar n-aghaidh-ne
tha bhur gearan, ach 'an aghaidh an
Tighearna.
9 Agus thubhairt Maois re h-Aaron,
Abair re coi-thional chloinn Israeil
uile, Thigibh am fagus 'an làthair an
Tighearn, oir chual' e bhur gearan.
10 Agus an uair a labhair Aaron
re coi'-thional chloinn Israeil uile,
dh'amhairc iad a dh'ionnsuidh an fhàs-
aich, agus feuch, dh'fhoillsicheadh
glòir an Tighearn ann an neul,
11 Agus labhair an Tighearna re
Maois, ag ràdh,
12 Chuala mi gearan chloinn Is-
raeil; labhair riu, ag ràdh, Mu fheas-
gar ithidh sibh feoil, agus 'sa' mhadainn
sàsuichear sibh le h-aran: agus bithidh
fios agaibh gur mise an Tighearna
bhur Dia.
13 Agus an uair a bha 'm feasgar
ann, 'an sin thàinig na gearra-goirt[g]
a nìos, agus chòmhdaich iad an camp-
a; agus anns a' mhadainn bha 'n
drùchd 'na luidhe mu thimchioll a'
champa.
14 Agus an uair a' dh'éirich an
drùchd a bha 'na luidhe suas, feuch,
bha air aghaidh an fhàsaich ni beag
cruinn, beag mar an liath-reodh air
an talamh.
15 Agus an uair a chunnaic clann
Israeil *e*, thubhairt iad gach aon r'a
chéile,

[a] *craobh.* [b] *orduighean, àitheantan.* [c] *euslaintibh.* [d] *craobh.*
[e] *shuidhich iad am pubuill, thàmh iad.* [f] *ann mo.* [g] *quails.* Sasg.

chéile, Mana [a]: oir cha robh fhios
aca ciod e. Agus thubhairt Maois
riu, So an t-aran a thug an Tighear-
na dhuibh r'a itheadh.
16 So an ni a dh'àithn an Tighear-
na; Cruinnichibh dheth *gach* duine a
réir itheannaich, omer do gach neach
a réir àireimh bhur n-anmanna, gabh-
adh *gach* duine agaibh air *an* ſon-*ſan* a
ta 'na bhùth.
17 Agus rinn clann Iſraeil mar ſin,
agus chruinnich iad, cuid ni bu mhò,
agus cuid ni bu lugha [b].
18 Agus an uair a thomhais iad *e*
le h-omer, cha robh a' bheag thairis
aige-ſan a chruinnich ni bu mhò, agus
air-san a chruinnich ni bu lugha, cha
robh uireaſbhuidh: chruinnich *gach*
duine a réir itheannaich.
19 Agus thubhairt Maois riu, Na fàg-
adh duine 'ſam bith dheth gu madainn.
20 Gidheadh cha d'éiſd iad re
Maois, ach dh'fhàg cuid dheth gu
madainn, agus ghin e cnuimhean a-
gus lobh e: Agus bha corruich air
Maois riu.
21 Agus chruinnich iad e air gach
madainn, gach duine a réir ithean-
naich: agus an uair a dh'fhàs a' ghrian
teth, leaghadh e.
22 Agus air an t-ſeathadh là
chruinnich iad a dhà uiread arain, dà
omer air ſon *gach* aon: agus thàinig
uachdarain a' choi'-thionail uile, agus
dh'innis iad *ſin* do Mhaois.
23 Agus thubhairt e riu, So *an ni*
a labhair an Tighearna, *Bithidh* fois
na sàbaide naomha do'n Tighearn am
màireach: *a' mheud 's* a tha ſibh gu
fhuineadh, fuinibh *an diugh*, agus *a'*
mheud 's a tha ſibh gu bhruicheadh,
bruichibh; agus gach ni a bhios thairis,
taiſgibh ſuas dhuibh féin gu madainn.
24 Agus thaiſg iad ſuas e gu ma-
dainn, mar a dh'àithn Maois; agus
cha do lobh e, ni mò a bha cnuimh
'ſam bith ann.
25 Agus thubhairt Maois, Ithibh
ſin an diugh, oir *tha* sàbaid ann an
diugh do'n Tighearna; an diugh cha'n
fhaigh ſibh e 'ſa' mhachair.
26 Sè laithean cruinnichidh ſibh e,
ach air an t-ſeachdamh là *bithidh* an
t-sàbaid; cha bhi e ann air *an là* ſin.
27 Agus tharladh air an t-ſeachdamh
là gu'n deachaidh *cuid* do'n t-ſluagh
a mach g'*a* chruinneachadh, agus cha
d'fhuair iad *a' bheag*.
28 Agus thubhairt an Tighearna
re Maois, Cia fhad' a dhiùltas ſibh
m'àitheanta-ſan a choimhead [c], agus
mo reachdan.
29 Faicibh, do bhrì' gu'n d'thug
an Tighearna dhuibh an t-sàbaid, air
an aobhar ſin tha e a' tabhairt [d] dhuibh
air an t-seathadh là aran dhà là: fan-
aibh, *gach* duine 'na àite féin; na
rachadh duine 'ſam bith a mach as àite
air an t-ſeachdamh là.
30 Mar ſin ghabh an ſluagh fois air
an t-ſeachdamh là.
31 Agus thug tigh Iſraeil Mana
mar ainm air: agus *bha* e mar fhras
coriandeir, geal, agus a bhlas mar
abhlain [e] *air an deanamh* le mil.
32 Agus thubhairt Maois, So an
ni a dh'àithn an Tighearna, Lìon
omer dheth gu bhi air a ghleidheadh
air ſon bhur ginealacha, chum gu faic
iad an t-aran leis an do bheathaich mi
ſibh 'ſan fhàſach, an uair a thug mi
mach ſibh a tìr na h-Eiphit.
33 Agus thubhairt Maois re h-Aaron,
Gabh loitheach [f], agus cuir ann làn
omeir do Mhana [g], agus taiſg e 'an là-
thair an Tighearna, gu bhi air a
ghleidheadh air ſon bhur ginealacha.
34 Mar a dh'àithn an Tighearna
do Mhaois, mar ſin thaiſg Aaron e
'an làthair na fianuis, gu bhi air a
ghleidheadh.
35 Agus dh'ith clann Iſraeil am
Mana dà fhichead bliadhna, gus an
d'thàinig iad gu tìr àitichte: dh'ith
iad am Mana gus an d'thàinig iad gu
crìch tìre Chanaain.
36 *A nis *is e* omer an deicheamh
cuid do ephah.

CAIB. XVII.

AGus dh'imich coi'-thional chloinn
Iſraeil uile o fhàſach Shin, a réir
an turuſan, mar a dh'àithn an Tigh-
earn, agus champaich iad ann an Re-
phidim; agus cha *robh* uiſge ann do'n
t-ſluagh re òl.

 2 Uime

[a] *Ciod e ſo?* Eabh. [b] *bu lugha.* [c] *a ghleidheadh.* [d] *a' toirt.*
[e] *bhreacagan* [f] *poit.* [g] *Man.* Eabh.

2 Uime ſin rinn an ſluagh conſachadh[a] re Maois, agus thubhairt iad, Thoir[b] dhuinn uiſge chum as gu'n òl ſinn. Agus thubhairt Maois riu, C'ar ſon a ta ſibh a' conſachadh rium-ſa? C'ar ſon a bhroſnaicheas ſibh[c] an Tighearna?

3 Agus mhiannaich an ſluagh uiſge[d] ann an ſin; agus rinn an ſluagh gearan 'an aghaidh Mhaois, agus thubhairt iad, C'ar ſon ſo a thug thu nios ſinn as an Eiphit, a chum ſinn féin a mharbhadh, agus ar clann, agus ar ſpréidh le tart?

4 Agus dh'éigh Maois ris an Tighearn, ag ràdh, Ciod a ni mi ris an t-ſluagh ſo? is beag nach 'eil iad 'g am chlochadh.

5 Agus thubhairt an Tighearna re Maois, Imich roimh 'n t-ſluagh, agus thoir leat *cuid* do ſheanairibh Iſraeil; agus do ſhlat leis an do bhuail thu an abhainn, gabh a'd' làimh, agus bi 'g imeachd:

6 Feuch, ſeaſaidh miſe romhad 'an ſin air a' charraig ann an Horeb, agus buailidh tuſa a' charraig, agus thig uiſg' a mach aiſde, a chum gu'n òl an ſluagh. Agus rinn Maois mar ſin ann an ſealladh ſheanairean Iſraeil.

7 Agus thug e mar ainm air an àite Maſah agus Meribah, air ſon conſachaidh[e] chloinn Iſraeil, agus do bhrì' gu'n do bhroſnuich[f] iad an Tighearn, ag ràdh, Am bheil an Tighearna 'nar meaſg, no nach *'eil?*

8 'An ſin thàinig Amalec, agus chog e re h-Iſrael ann an Rephidim.

9 Agus thubhairt Maois re Ioſua, Tagh a mach dhuinn daoine, agus falbh a mach, cog re h-Amalec: am màireach ſeaſaidh miſe air mullach an t-ſléibh, agus ſlat Dhé a'm' làimh.

10 Agus rinn Ioſua mar a thubhairt Maois ris, agus chog e re h-Amalec. Agus chaidh Maois, Aaron, agus Hur, ſuas gu mullach an t-ſléibh.

11 Agus an uair a thog Maois ſuas a làmh, 'an ſin bhuadhaich Iſraeil, agus an uair a leag e ſios a làmh, bhuadhaich Amalec.

12 Ach *bha* làmhan Mhaois trom, agus ghabh iad clach, agus chuir iad fuidhe *i*, agus ſhuidh e oirre; agus chum Aaron agus Hur ſuas a làmhan, fear *dhiubh* air aon taobh, agus fear air an taobh eile; agus bha a làmhan ſeaſmhach gu dol fuidhe[g] na gréine.

13 Agus chlaoidh Ioſua Amalec agus a dhaoine le faobhar a' chlaidheimh.

14 Agus thubhairt an Tighearna re Maois, Sgrìobh ſo *mar* chuimhneachan ann an leabhar, agus aithris *e* ann an cluaſaibh Ioſua; oir dúbhaidh miſe as gu tur cuimhne Amaleic o *bhi* fuidh[h] nèamh.

15 Agus thog Maois altair, agus thug e Iehobhah-Niſi mar ainm oirre:

16 Oir thubhairt e, Do bhrì' gu'n do mhionnaich an Tighearna, *gu 'm bi* cogadh aig[k] an Tighearna re h-Amalec o linn gu linn.

CAIB. XVIII.

NUAIR a chuala Ietro, ſagart Mhidiain, athair-céile Mhaois, gach ni a rinn Dia air ſon Mhaois, agus air ſon Iſraeil a ſhluaigh, gu'n d'thug an Tighearn a mach Iſrael as an Eiphit;

2 'An ſin thug Ietro, athair-céile Mhaois, leis Siporah bean Mhaois, 'an déigh dha a cur air a h-ais,

3 Agus a dithis mhac, d'am *b'* ainm do h-aon diubh Gerſom, (oir thubhairt e, A'm' choigreach bha mi ann an tìr choimhich.)

4 Agus *b'*e ainm an *fhir* eile Elieſer, (oir *rinn* Dia m'athar, *thubhairt e,* còmhnadh rium, agus ſhaor e mi o chlaidheamh Pharaoih)

5 Agus thàinig Ietro, athair-céile Mhaois, agus a mhic, agus a bhean, a dh'ionnſuidh Mhaois d'on fhàſach, far an da champaich e aig ſliabh Dhé.

6 Agus thubhairt e re Maois, *Tha* miſe d'athair-céile Ietro, air teachd a'd' ionnſuidh, agus do bhean, agus a dithis mhac maille ria.

7 Agus chaidh Maois a mach 'an cionneamh athar-céile, agus rinn e ùmhlachd

[a] *throid an ſluagh.* [b] *Tabbair.* [c] *dhearbhas ſibh, bhuaireas ſibh, chuireas ſibh cathachadh air.* [d] *bha tart uiſge air an t-ſluagh.* [e] *geur-chainnt iomh-ſtribh.* [f] *gu'n d'fheuch, gu'n do dhearbh.* Eabh. [g] *dol fodha, luidhe* [h] *fo.* [k] gu'*n cathaich.*

ùmhlachd [a] *dha*, agus phòg se e, agus dh'altaich iad beatha a' chéile [b], agus thàinig iad a steach do'n bhùth.

8 Agus dh'innis Maois d'a athair-céile gach *ni* a rinn an Tighearn air Pharaoh, agus air na h-Eiphitich air sgàth Israeil, gach saothair [c] a thàinig orra air an t-slighe, agus *cionnus* a shaor an Tighearn iad.

9 Agus rinn Ietro gairdeachas a leth a' mhaith sin uile a rinn an Tighearna do Israel, a shaor è a làimh nan Eiphiteach.

10 Agus thubhairt Ietro, Beannaichte gu robh an Tighearn, a shaor sibh a làimh nan Eiphiteach, agus a làimh Pharaoih, a shaor an sluagh o *bhi* fuidh làimh nan Eiphiteach.

11 A nis tha fios agam gur mò an Tighearna na na h-uile dhée; oir anns an ni sin anns an do rinn iad gu h-uaibhreach, *bha esan* os an ceann.

12 Agus ghabh Ietro, athair-céile Mhaois, tabhartas loisgte agus iobairte do Dhia: Agus thàinig Aaron, agus uile sheanairean Israeil a dh'itheadh arain maille re athair-céile Mhaois 'an làthair Dhé.

13 A nis air an là màirea h shuidh Maois gu breth a thoirt air an t-sluagh; agus sheas an sluagh làimh re Maois o mhadainn gu feasgar.

14 Agus an uair a chunnaic athair-céile Mhaois gach *ni* a rinn e ris an t-sluagh, thubhairt e, Ciod e an ni so a tha thu deanamh ris an t-sluagh? C'ar son a *ta* thusa a'd' shuidhe a'd' aonar, agus a ta 'n sluagh uile a' seasamh làimh riut o mhadainn gu feasgar?

15 Agus thubhairt Maois r'a athair-céile, Do bhri' gu'n d'thig an sluagh a'm' ionnsuidh a dh'fhiosrachadh o Dhia.

16 'Nuair a bhios cùis aca, thig iad a m' ionnsuidh, agus bheir mi breth eadar duine agus duine, agus nochdaidh mi *dhoibh* orduighean Dhé, agus a laghanna.

17 Agus thubhairt athair-céile Mhaois ris, Cha mhath an ni a *ta* thu deanamh.

18 Caithidh [d] tu as gu tur, araon thu féin, agus an sluagh so a *ta* maille riut, oir a ta an ni *so* ro-throm air do shon; cha'n 'eil e 'n comas duit a dheanamh a'd' aonar.

19 A nis ma ta éisd re m' ghuth, bheir mi comhairl' ort, agus bithidh Dia maille riut: bi-sa air son an t-sluaigh 'an làthair Dhé, agus bheir thu na cùisean a dh'ionnsuidh Dhé:

20 Agus teagaisgidh tu dhoibh na h-orduighean agus na laghanna, agus nochdaidh tu dhoibh an t-slighe air an còir dhoibh imeachd, agus an obair a's còir dhoibh a dheanamh.

21 Agus taghaidh tu a mach as an t-sluagh uile, daoine foghainteach [e], air am bi eagal Dé, daoine firinneach, a dh'fhuathaicheas sannt; agus cuiridh tu iad os an cionn 'nan uachdaranaibh [f] mhìlte, 'nan uachdaranaibh cheuda, 'nan uachdaranaibh leth-cheuda, agus 'nan uachdaranaibh dheichnear.

22 Agus bheir iad breth air an t-sluagh anns gach àm; ach gach cùis mhòr bheir iad a'd' ionnsuidh-sa, agus air gach cùis bhig bheir iad féin breth: mar sin bithidh e ni's eutruime dhuit-se, agus iomcharaidh iadsan *an eallach* maille riut.

23 Ma ni thu an ni so, agus gu'n àithn Dia *sin* dhuit, 'an sin is urrainn thu seasamh ris, agus mar an ceudna théid an sluagh so uile d'an àite féin 'an sìth.

24 A nis dh'éisd Maois re guth athar-céile, agus rinn e gach ni a thubhairt e.

25 Agus thagh Maois daoine foghainteach a mach a h-Israel uile, agus rinn e iad 'nan ceannardaibh air an t-sluagh; 'nan uachdaranaibh mhìlte, 'nan uachdaranaibh cheuda, 'nan uachdaranaibh leth-cheuda, agus 'nan uachdaranaibh dheichnear.

26 Agus thug iad breth air an t-sluagh anns gach àm: na cùisean cruaidh thug iad a dh'ionnsuidh Mhaois, ach air gach cùis bhig thug iad féin breth.

27 Agus leig Maois le athair-céile imeachd;

[a] *chrom se e féin*, Eabh. [b] *dh'fheòraich iad mu leas a chéile*, *ghabh iad sgeula mu shlàint' a chéile*. [c] *dragh*. [d] *Seargaidh*. [e] *tomasach*. [f] *'nan riaghladairibh*.

imeachd; agus dh'ſhalbh e roimhe
d'a thìr féin.

C A I B. XIX.

ANNS an treas mìos 'an déigh do
chloinn Iſraeil teachd a mach a
tìr na h-Eiphit, 'ſan là ſin féin thàinig
iad gu fàſach Shinai.
2 Oir dh'imich iad o Rephidim,
agus thàinig iad gu fàſach Shinai,
agus champaich iad 'ſan fhàſach;
agus champaich Iſrael ann an ſin fa
chomhair an t-ſléibh [a].
3 Agus chaidh Maois ſuas a dh'ionn-
ſuidh Dhé, agus ghairm an Tighearn
air as an t-ſliabh, ag ràdh, Mar ſo
their thu re tigh Iacoib, agus innſidh
tu do chloinn Iſraeil:
4 Chunnaic ſibh na rinn mi ris na
h-Eiphitich, agus *cionnus* a ghiùlain
mi ſibhſe *mar* air ſgiathaibh iolairean,
agus a thug mi a m' ionnſuidh féin
ſibh.
5 A nis ma ta, ma dh'éiſdeas ſibh
da rìreadh re m' ghuth, agus ma
ghleidheas ſibh mo choi'-cheangal, an
ſin bithidh ſibh dhomhſa 'nar n-ion-
mhas ſònraichte [b] os cionn nan uile
ſhluagh; oir *is* leams' an talamh uile.
6 Agus bithidh ſibh dhomhſa 'nar
rìoghachd ſhagart, agus 'nar cinneach
naomha. *Is* iad ſin na briathran a
labhras tu re cloinn Iſraeil.
7 Agus thàinig Maois, agus ghairm
e air ſeanairean an t-ſluaigh, agus
chuir e rompa na briathra ſin uile a
dh'àithn an Tighearna dha.
8 Agus fhreagair an ſluagh uile le
h-aon ghuth, agus thubhairt iad, Gach
ni a labhair an Tighearna, ni ſinne.
Agus thug Maois air ais briathran an
t-ſluaigh a dh'ionnſuidh an Tigh-
earna.
9 Agus thubhairt an Tighearna re
Maois, Feuch, thig mis' a'd' ionnſuidh
ann an neul tiugh, a chum gu 'n cluinn
an ſluagh an uair a labhras mi riut,
agus mar an ceudna gu'n creid iad
thu gu ſiorruidh. Agus dh'innis
Maois briathran an t-ſluaigh do'n
Tighearna.
10 Agus thubhairt an Tighearna
re Maois, Imich a dh'ionnſuidh an
t-ſluaigh, agus naomhaich iad an
diugh, agus am màireach, agus nigh-
eadh iad an eudach,
11 Agus bitheadh iad deas air
cheann an treas là [c]; oir air an treas
là thig an Tighearn a nuas ann an
fealladh an t-ſluaigh uile air ſliabh
Shinai.
12 Agus ſuidhichidh tu crìocha
do'n t-ſluagh m' an cuairt, ag ràdh,
Thugaibh an aire dhuibh féin, *nach*
d'théid ſibh ſuas do'n t-ſliabh, agus
nach bean ſibh r'a iomall: gach neach
a bheanas ris an t-ſliabh, gu cinnteach
cuirear gu bàs e.
13 Cha bhean làmh ris; oir gu
deimhin clochar e, no ſàthar ſleagh
troimhe [d]: ma's ainmhidh no duine e,
cha mhair e beò. 'Nuair a ſhéideas
an trompaid [e] rè ùin' fhada, thig iad-
ſan a nìos do'n t-ſliabh.
14 Agus chaidh Maois ſìos o'n
t-ſliabh a dh'ionnſuidh an t-ſluaigh, a-
gus naomhaich e 'n ſluagh, agus nigh
iad an eudach.
15 Agus thubhairt e ris an t-ſluagh,
Bithibh deas air cheann an treas là:
na d'thigibh am fagus d'*ar* mnaibh.
16 Agus an uair a thàinig an treas
là, anns a' mhadainn bha tairneanaich
agus dealanaich ann, agus neul tiugh
air an t-ſliabh, agus fuaim na trompaid
ro-ard: agus chriothnaich an ſluagh
uile a *bha* 'ſa champa.
17 Agus thug Maois an ſluagh
a mach as a' champa 'an coinneamh
Dhé, agus ſheas iad aig ìochdar an
t-ſléibh [f].
18 Agus bha ſliabh Shinai uile fa
dheataich, do bhrì' gu'n d'thàinig an
Tighearn a nuas air ann an teine; agus
dh'éirich a dheatach ſuas mar dhea-
taich àmhuinn [g], agus chriothnaich an
ſliabh uile gu mòr.
19 Agus an uair a bha fuaim na
trompaid a' dol a mach, agus a' fàs rò-
làdair, 'an ſin labhair Maois, agus
fhreagair Dia e le guth.
20 Agus thàinig an Tighearn a
nuas

[a] *fa chomhair na beinne.* [b] *ſealbh àraid.* [c] *'an coinneamh an treas là.*
[d] *trid.* Eir. [e] *an adharc; ſtoc.* Eir. [f] *aig bun na beinne.* [g] *ſuirneis;*
teallaich.

a nuas air ſliabh Shinai, air mullach an
t-ſléibh: agus ghairm an Tighearna
Maois ſuas gu mullach an t-ſléibh, a-
gus chaidh Maois ſuas.
21 Agus thubhairt an Tighearna re
Maois, Imich ſìos, thoir àithne do'n
t-ſluagh, air eagal gu'm bris iad a
ſteach a dh'ionnſuidh an Tighearn a
dh'amharc, agus gu'n tuit mòran
diubh.
22 Agus mar an ceudna na ſagairt
a thig am fagus do'n Tighearna,
naomhaicheadh iad iad féin, an t-eagal
gu'm bris an Tighearn a mach orra[b].
23 Agus thubhairt Maois ris an
Tighearna, Cha 'n'eil e 'n comas do'n
t-ſluagh teachd a nìos do ſhliabh
Shinai; oir thug thu àithne dhuinn,
ag ràdh, Cuir crìocha mu'n t-ſliabh,
agus naomhaich e.
24 Agus thubhairt an Tighearna
ris, Imich romhad, falbh sìos, agus
thig a nìos thu féin, agus Aaron maille
riut; ach na briſeadh na ſagartan agus
an ſluagh a ſteach, gu teachd a nìos a
dh'ionnſuidh an Tighearn, an t-eagal
gu'm bris e mach orra.
25 Agus chaidh Maois sìos a
dh'ionnſuidh an t-ſluaigh, agus labhair
e riu.

C A I B. XX.

AGUS labhair Dia na briathra ſo
uile, ag ràdh,
2 *Is* mis an Tighearna do Dhia, a
thug a mach thu a tìr na h-Eiphit, a
tigh na daorſa.
3 Na bìodh dée 'ſam bith eile agad
a'm' làthair-ſa.
4 Na dean dhuit féin *dealbh*
ſnaidhte[c], no coſlas 'ſam bith *a dh'aon
ni* a *ta* 'ſna nèamhaibh ſhuas, no air an
talamh ſhìos[d], no 'ſna h-uiſgeachaibh
fuidh 'n talamh.
5 Na crom thu féin sìos doibh, a-
gus na dean ſeirbhis doibh: oir mis' an
Tighearna do Dhia, *is* Dia eudmhar
mi, a' leantuinn aingidheachd nan
aithreacha air a' chloinn, air an treas[e],
agus air a' cheathramh *ginealach*
dhiubhſan a dh'fhuathaicheas mi;
6 Agus a' nochdadh tròcair do
mhìltibh dhiubhſan a ghràdhaicheas
mi, agus a choimhideas m'àitheanta.
7 Na tabhair[f] ainm an Tighearna
do Dhé 'an diomhanas; oir cha mheas
an Tighearna neo-chiontach *eſan* a bheir
ainm an diomhanas.
8 Cuimhnich là na sàbaid a naomh-
achadh.
9 Sè laithean ſaothraichidh tu, agus
ni thu t'obair uile.
10 Ach *air* an *t*-ſeachdamh là *tha*
sàbaid an Tighearna[g] do Dhé: *air an
là sin* na dean obair 'ſam bith, thu féin,
no do mhac, no do nighean, d'òglach,
no do bhan-oglach, no d'ainmhidh, no
do choigreach a *ta* 'n taobh a ſtigh do
d' gheataibh[h]:
11 Oir ann an sè làithibh rinn an
Tighearna na nèamhan agus an ta-
lamh, an fhairge, agus gach ni a
ta annta; agus ghabh e fois air an
t-ſeachdamh là: air an aobhar ſin
bheannaich an Tighearna là na sàbaid,
agus naomhaich ſe e.
12 Tabhair onoir do t'athair, agus
do d'mhàthair; a chum as gu'm bi do
làithean buan air an fhearann a *tha* 'n
Tighearna do Dhia a' toirt dhuit.
13 Na dean mortadh.
14 Na dean adhaltrannas.
15 Na dean gaduigheachd.
16 Na tabhair fianuis bhréige 'n
aghaidh do choimhearſnaich.
17 Na ſanntaich tigh do choimh-
earſnaich; na ſanntaich bean do
choimhearſnaich, no òglach, no bhan-
oglach, no dhamh[k], no aſal, no aon ni
a'*s* le do choimhearſnach.
18 Agus mhothaich[l] an ſluagh uile
na tairneanaich, agus na dealanaich, a-
gus fuaim na trompaid, agus an ſliabh
fa dheataich[m]: agus an uair a chun-
naic an ſluagh *sin* ghluais iad, agus
ſheas iad fad' o làimh[n].
19 Agus thubhairt iad re Maois,
Labhair thuſa ruinn, agus éiſdidh ſinn:
ach

[a] *earail do'n t-ſluagh.* [b] *gu'n ſgrios an Tighearna iad.* [c] iomhaigh *ſnaighte, ghràbhalta.* [d] *a bhos.* [e] *gus an treas.* [f] *Na d'thoir.* [g] *do'n Tighearna.* Eabh. [h] *dhorſaibh.* [k] *tharbh.* Eabh. [l] *chunnaic.* Eabh. [m] *ag ſmùidrich.* [n] *fad' as, fad' air aſtar.*

ach na labhradh Dia ruinn, an t-eagal
gu'm faigh sinn bàs.
20 Agus thubhairt Maois ris an
t-sluagh, Na biodh eagal oirbh, oir is
ann a chum bhur dearbhadh a thàinig
Dia, agus a chum gu'm bi eagal-san
oirbh [a], air chor as nach peacaich sibh.
21 Agus sheas an sluagh fad' o
làimh, agus thàinig Maois am fagus
do'n dorchadas, far *an robh* Dia.
22 Agus thubhairt an Tighearna re
Maois, Mar so their thu re cloinn Is-
raeil, Chunnaic sibh gu'n do labhair
mi ribh o na nèamhaibh.
23 Cha dean sibh maille riumsa dée
airgid, agus dée òir cha dean sibh
dhuibh féin.
24 Altair do thalamh ni thu dhomhsa,
agus ìobraidh tu oirre do thabhartais-
loisgte, agus do thabhartais-sìth, do
chaoraich, agus do dhaimh [b]: anns
gach àite 'san d'thoir mise fa'near
gu'n cuimhnichear m'ainm, thig mi
a d' ionnsuidh, agus beannaichidh mi
thu.
25 Agus ma ni thu altair chloiche
dhomh, cha tog thu i le cloich shnaidh-
te; oir ma thogas tu d' uneal-snaidhidh
suas oirre, truaillidh tu i.
26 Ni mò théid thu suas air ceum-
aibh a dh'ionnsuidh m' altarach, a
chum nach leigear ris do lomnochd-
uigh [c] oirre.

CAIB. XXI.

ANIS *is* iad so na breitheanais a
chuireas tu rompa.
2 Ma cheannaicheas tu òglach [d]
Eabhruidheach, sè bliadhna ni e seir-
bhis; agus 'san t-seachdamh théid e
mach saor a nasguidh.
3 Ma's ann *a mbàin* leis féin a thàin-
ig e steach, leis féin théid e mach;
ma bha bean aige, théid mar an ceud-
na a bhean a mach maille ris.
4 Ma thug a mhaighstir dha bean,
agus gu'n d'rug i dha mic, no nigh-
eana; bithidh a' bhean agus a clann aig
a maighstir, agus théid esan a mach
leis féin.
5 Ach ma their an t-òglach gu
cinnteach, Is toigh leam mo mhaigh-
stir [e], mo bhean, agus mo chlann, cha
d'théid mi mach saor:
6 'An sin bheir a mhaighstir e chum
nam breitheamhna: bheir e mar an
ceudna chum an doruis e, no chum
ursainn an doruis, agus tollaidh a
mhaighstir a chluas le minidh, agus ni
e seirbhis dha gu bràth.
7 Agus ma reiceas [f] duine a nigh-
ean gu bhi 'na ban-oglaich [g], cha
d'thèid i mach mar a théid na h-òg-
laich.
8 Mur taitinn i r'a maighstir, a
rinn ceangal-pòsaidh ria, 'an sin bheir
e fa'near gu'm fuasgailear i: re cin-
neach coimheach cha bhi comas aige
a reiceadh, do bhrì' gun do bhuin e
gu cealgach ria.
9 Agus ma cheangail e r'a mhac i,
a réir modh nan nighean ni e ria.
10 Ma ghabhas e *bean* eile dha féin,
a biadh, a h-eudach, agus a dlighe-
pòsaidh [h], cha lughdaich e [k].
11 Agus mur dean e na tri *nithe*
sin ria, 'an sin théid i mach saor gun
airgiod.
12 Esan a bhuaileas duine air chor
as gu'm bàsaich e, gu cinnteach cuirear
gu bàs e.
13 Agus mur do luidh duine 'am
plaid [l], ach gu'n d'thug Dia thairis g'a
làimh [m], 'an sin sònruichidh [n] mis'àite
dhuit d'an teich e.
14 Ach ma thig duine gu dàna air
a choimhearsnach, gu mharbhadh le
ceilg, o m' altair bheir thu e, a chum
gu'm bàsaich e.
15 Agus esan a bhuaileas athair, no
a mhàthair, gu cinnteach cuirear gu
bàs e.
16 Agus esan a ghoideas duine, a-
gus a reiceas e, no ma gheibhear 'na
làimh e, gu cinnteach cuirear gu bàs e.
17 Agus esan a mhallaicheas athair
no

[a] *air bhur gnùis.* Eabh. [b] *do bhuar.* [c] *do dhìombaireachd.* [d] *seirbh-iseach, tràill, daorsanach.* [e] *Tha gràdh agam air mo mhaighstir.* [f] *chreiceas.* [g] *ban-tràill.* [h] *dubhaidh; dowry.* Sasg. [k] *cha chuir e 'n lagbad.* [l] *mur robh duine a' feitheamh fàth.* [m] *dh'ionnsuidh a làimh.* [n] *sunruichidh, suidhichidh, orduichidh.*

no mhàthair, gu cinnteach cuirear gu
bàs e.
18 Agus ma ni daoine comhstri',
agus gu'm buail duine a choimhearsnach
le cloich, no le dhorn, agus nach
faigh e bàs, ach gu'n gabh e a leaba:
19 Ma dh'éireas e, agus gu'n siubhail
e mach air a luirg, 'an sin saorar
esan a bhuail *e;* a mhàin dìolaidh
e air son call ùine, agus bheir e fa'near
a leigheas gu h-iomlan.
20 Agus ma bhuaileas duine òglach,
no bhan-oglach le slait, agus gu'm
bàsaich e fa làimh, diolar air gu
deimhin:
21 Ach ma mhaireas e *beo*[a] là no
dà là, cha dìolar air; oir *is* e airgiod e.
22 Agus ma ni daoine comhstri',
agus gu'm buail iad bean thorrach,
agus gu'n dealaich i r'a cloinn, ach
nach faigh i bàs[b]; cuirear gu cinnteach
ùbhla air, a réir mar a chuireas
fear na mnà air, agus bheir e seachad
mar a *dh'orduicheas* na breitheamhna[c].
23 Ach ma gheibh *i* bàs, 'an sin
bheir thu anam air son anma,
24 Sùil air son sùla, fiacail air
son fiacla, làmh air son làimhe, cos
air son coise,
25 Losgadh air son losgaidh, lot[d]
air son lotaidh, buille air son buille.
26 Agus ma bhuaileas duine sùil
òglaich, no sùil a bhan-oglaich, agus
gu mill e i, leigidh se as saor e air son
a shùla.
27 Agus ma chuireas e fiacail a
òglach, no fiacail as a bhan-oglaich,
leigidh se as saor e air son fhiacla.
28 Agus ma reubas damh[e] duine
no bean le adhairc, agus gu'm faigh e
bàs, gu cinnteach clochar an damh,
agus cha 'n ithear fheoil; ach bithidh
sealbhadair an daimh neo-chiontach.
29 Ach ma ghnàthaich an damh
sàthadh[f] le adhaircibh 'san aimsir
roimhe sin, agus gu'n do dhearbhadh
sin d'a shealbhadair, agus nach do
ghleidh e stigh e, agus gu'n do mharbh
e duine no bean, clochar an damh, agus
cuirear mar an ceudna a shealbhadair
gu bàs.
30 Ma chuirear *airgiod*-réitich air,
'an sin bheir e mar éirig anma ge b'e
ni a chuirear air.
31 Ma's mac a reub e le adhairc,
no ma's nighean a reub e, a réir a'
bhreitheanais so nithear ris.
32 Ma reubas an damh òglach no
ban-oglach, bheir e deich secel 'ar
fhichead airgid d'am maighstir, agus
clochar an damh.
33 Agus ma dh'fhosglas duine
slochd, no ma chladhaicheas duine
slochd, agus nach còmhdaich se e,
agus gu'n tuit damh no asal ann;
34 Ni esan d' am buin an slochd
suas an calldach, bheir e airgiod d'an
sealbhadair, agus is leis féin am *beathach*
marbh.
35 Agus ma reubas damh neach
air bith damh neach eile, agus gu'm
faigh e bàs, 'an sin reicidh iad an
damh beo, agus roinnidh iad an
t-airgiod *a fhuaradh* air a shon, agus
roinnidh iad mar an ceudna an damh
marbh.
36 No ma bha fhios gu'n do
ghnàthaich an damh sàthadh le adhaircibh
'san aimsir roimhe sin, agus
nach do ghleidh a shealbhadair a stigh
e, gu cinnteach ìocaidh e damh air
son daimh, agus is leis féin am marbh.

C A I B. XXII.

MA ghoideas duine damh no caora,
agus gu marbh se e, no gu'n
reic se e, dìolaidh e[g] cùig daimh air
son an daimh, agus ceithir caoraich
air son na caorach.
2 Ma gheibhear gaduiche a' briseadh
a stigh, agus gu'm buailear e,
agus gu'm faigh e bàs, cha *dòirtear*
fuil air a shon:
3 Ma bhios a' ghrian air éirigh
air, *dòirtear* fuil air a shon. Ni esan
a ghoideas dìoladh iomlan[h]; mur *bi*
ni 'sam bith aige, 'n sin reicear e air
son a ghaduigheachd.

4 Ma

[a] *ma sheasas e ris.* [b] *nach d'thig beud 'na lorg.* [c] *breitheachan.*
[d] *cneadh.* [e] *tarbh.* Eabh. [f] *ma bha'n damh gùnaideach, ma b'àbhaist da purradh.* [g] *bheir e uaith, aisigidh e, cui'ticbidh e.* [h] *oir bu chòir dha dìoladh iomlan a dheanamh.*

4 Ma gheibhear gu cinnteach a' mheirle [c] 'na làimh beò, ma's damh e, no asal, no caora; diolaidh se dùbailt' [d] e.

5 Ma bheir duine sa'near gu'n ithear suas fearann no fìon-lios [e], agus gu'n cuir e ainmhidh *ann*, agus gu 'm biadhar e ann am fearann duin' eile; do'n chuid a's fearr d'a fhearann féin, agus do'n chuid a's fearr d'a fhìon-lios féin, ni e dioladh [f].

6 Ma bhriseas teine a mach, agus gu'n tachair e air droighinn [g], agus gu'n loisgear na cruachan arbhair, no 'n t-arbhar 'na sheasamh, no'n t-achadh [h]; ni esan a rinn an losgadh gu cinnteach dioladh.

7 Ma bheir duine d'a choimhearsnach airgiod, no airneas, g'a ghleidheadh, agus gu'n goidear a tigh an duine e; ma gheibhear an gaduiche, diolaidh se dùbailt' e.

8 Mur faighear an gaduiche, 'an sin theid maighstir an tighe a dh'ionnsuidh nam breitheamhna, *a dh' fheuchainn* co ac' a shìn e mach a làmh gu cuid a choimhearsnaich.

9 Air son gach gnè choire, air son daimh, air son asail, air son caorach, air son eudaich, air son gach ni a chaidh chall, a their *neach eile* gur leis féin; an lathair nam breitheamhna thig cùis gach aon diubh: *esan* a dhìteas na breitheamhna, diolaidh e dùbailte d'a choimhearsnach.

10 Ma bheir duine d'a choimhearsnach asal, no damh, no caora, no ainmhidh 'sam bith g'a ghleidheadh, agus gu'm faigh e bàs, no gu'n ciurrar e, no gu'n iomainear air falbh e, gun neach air bith 'ga shaicinn:

11 '*An sin* bithidh mionnan an Tighearn eatorra le chéile, nach do shìn e a làmh gu cuid a choimhearsnaich: agus gabhaidh a shealbhadair *sin* uaith, agus cha dean *esan* dioladh.

12 Agus ma ghoideadh uaith e, diolaidh e d'a shealbhadair.

13 Ma reubadh as a chéile e, thugadh e leis mar fhianuis e; air son an ni sin a chaidh reubadh, cha diol e.

14 Agus ma dh'iarras [k] duine ni 'an coingheal [l] o choimhearsnaich, agus gu'n ciurrar e, no gu'm faigh e bàs, gun a shealbhadair a bhi maille ris; gu cinnteach diolaidh e e.

15 *Ach* ma bhios a shealbhadair maille ris, cha diol e e: ma's *ni* air son tuarasdail [m] e, thainig e air son a thuarasdail.

16 Agus ma mhealltas duine maighdean, nach 'eil fuidh cheangal-pòsaidh, agus gu'n luidh e leatha, gu cinnteach gabhaidh se i dha féin mar mhnaoi.

17 Ma dhiùltas a h-athair gu tur a tabhairt da, diolaidh e airgiod a réir tochraidh nam maighdean [n].

18 Cha leig thu le ban-fhiosaiche [o] bhi beò.

19 Ge b'e neach a luidheas le h-ainmhidh, gu cinnteach cuirear gu bàs e.

20 Esan a dh'iobras do dhéibh '*sam bith*, ach do'n Tighearna a mhàin, gearrar as e.

21 Air coigreach cha chuir thu doilgheas, ni mo a ni thu foirneart air; oir bha sibh féin 'nar coigrich ann an tìr na h-Eiphit.

22 Re bantraich [p] 'sam bith, no dìleachdan [q], cha bhuin sibh gu cruaidh.

23 Ma bhuineas tu air chor sam bith gu cruaidh riu, agus gu'n glaodh iad idir riumsa, éisdidh mise gu cinnteach r'an glaodh.

24 Agus lasaidh fuas mo chorruich, agus marbhaidh mi sibh leis a' chlaidheamh; agus bithidh bhur mnài 'nam bantraichibh, agus bhur clann 'nan dìleachdain.

25 Ma bheir thu airgiod 'an coingheall do *neach air bith do* m' shluaghsa *a ta* bochd làimh riut, cha bhi thu dha mar neach a chuireas airgiod air riadh [r]; cha chuir thu riadh air.

26 Ma ghabhas tu idir eudach do choimhearsnaich ann an geall, mu dhol

[c] *an ni sin a ghoid e.* [d] *dà-fhillte.* [e] *fìon-ghàradh.* [f] *coi'-leasachadh.* [g] *gu'm faigh e droighionn.* Eabh. [h] *an raon* [k] *ma ghabhas.* [l] *air iasachd.* [m] *luach-saoithreach.* [n] *a réir creidh nan òigh.* [o] *buidsich, ban-fhuasdraich.* [p] *bain-treabhaich.* [q] *leanabh gun athair.* [r] *ocar.*

dhol fodha na gréine bheir thu air ais dha e:

27 Oir *is* e ſin a chòmhdach a mhàin, *is* e eudach d'a chroicionn e: ciod anns an cuidil e? agus an uair a [illegible]'éigheas e rium, éiſdidh miſe; oir [illegible] tròcaireach.

28 Air breitheamhnaibh [a] cha labhair thu olc, agus uachdaran do ſhluaigh cha chàin [b] thu.

29 Ceud thoradh d'fhearainn, agus d'fhion-lios, gun dàil *bheir thu ſeachad:* ceud-ghin do mhac bheir thu dhomhſa.

30 Mar ſin ni thu re d' chrodh, *agus* re d' chaoraich: ſeachd laithean bithidh e maille r'a mhàthair, air an ochdamh là bheir thu dhomhs' e.

31 Agus bithidh ſibh 'nar daoine naomha dhomhſa, agus feoil *'ſam bith* a reubadh *le fiadh-bheathaichibh* 'ſa' mhachair, cha'n ith ſibh: chum nan con tilgidh ſibh i.

C A I B. XXIII.

CHA tog thu tuaireſgeul [c] bréige: na cuir do làmh maille ris an aingidh gu bhi d'fhianuis air 'n eucoir.

2 Cha lean thu a' mhòr-chuideachd a dh'ionnſuidh an uilc, agus cha labhair [d] thu ann an cùis, gu claonadh 'an déigh a' mhòrain, chum *breth* fhiaradh.

3 Agus re *duine* bochd cha bhi thu bàigheil [e] 'na chùis.

4 Ma thachaireas tu air damh do nàmhaid, no aſal a' dol air ſeacharan [f], bheir thu gu cinnteach air ais e d'a ionnſuidh.

5 Ma chi thu aſal duine aig am bheil fuath dhuit a luidhe ſa h-eallaich, agus gu'n *ſmuainich* thu air ſantuinn o chòmhnadh dheanamh ria, ni thu gu cinnteach còmhnadh ria.

6 Cha chlaon [g] thu breth do bhochd 'na chùis.

7 O chùis-bhréige cum thu féin am fad; agus an neo-chiontach agus an t-ionraic na marbh: oir cha 'n fhìreanaich miſe an t-aingidh.

8 Agus tiodhlac [h] cha ghabh thu; oir dallaidh tiodhlac na *daoine* glice, agus claonaidh e briathra nan *daoine* ionraic.

9 Agus air coigreach na dean foirneart: oir is aithne dhuibh inntinn [k] coigrich, do bhrì' gu'n robh ſibh féin 'nar coigrich ann an tìr na h-Eiphit.

10 Agus sè bliadhnan cuiridh tu t'fhearann, agus cruinnichidh tu ſtigh a thoradh [l].

11 Ach air an t-ſeachdamh fàgaidh tu *mach* [m] e, agus leigidh tu leis *luidhe 'na thàmh*, a chum gu'n ith bochdan do ſhluaigh, agus na dh'fhàgas iadſan, gu'n ith beathaichean na machrach *e*. Air a' mhodh cheudna ni thu re d'fhion-lios, *agus* re d' lios-olaidh.

12 Sè laithean ni thu t'obair, agus air an t-ſeachdamh là gabhaidh tu fois; a chum gu faigh do dhamh agus d'aſal fois, agus gu faigh mac do bhanoglaich agus an coigreach anail.

13 Agus a thaobh nan uile nithe a labhair mi ribh, bithibh faicilleach; agus air ainm dée eile na luaidhibh [n]: na cluinnear às bhur beul *e*.

14 Trì uaire cumaidh tu féiſd dhomhſa 'ſa' bhliadhna.

15 Féiſd an *arain* neo-ghoirtichte cumaidh tu: ſeachd laithean ithidh tu *aran* neo-ghoirtichte, mar a dh'àithn mi dhuit, 'ſan àm *ſhuidhichte* do'n mhìos Abib; oir anns *a' mhìos* ſin thàinig thu mach as an Eiphit: agus cha d'thig neach air bith a'm' làthair-ſa falamh:

16 Agus féiſd an fhogharaidh, ceud-thoraidh do ſhaoithreach, a chuir thu 'ſan fhearann: agus féiſd a' chruinneachaidh [o] aig deireadh na bliadhna, 'nuair a chruinnicheas tu ſtigh *toradh* do ſhaoithreach as an fhearann.

17 Trì uairean 'ſa' bhliadhna nochdar gach fìrionn agad 'an làthair an Tighearna Dé.

18 Cha d'thoir thu ſeachad [p] fuil m' ìobairt-ſa le *h-aran* goirtichte, ni

[a] *déibh.* Eabh. [b] *cha mhallaich.* [c] *iomradh.* [d] *fhreagair.* Eabh.
[e] *cha nochd thu iochd, cha 'n aidh thu leis, cha ghabh thu leis.* [f] *air faontradh.*
[g] *Cha'n fhiar.* [h] *tiodhlacadh, gibht.* [k] *cridhe.* [l] *bhàrr.* [m] *fàs.*
[n] *na deanaibh iomradh.* [o] *an tarraigh, a' chròdhaidh.* [p] *cha tairg thu.*

mò dh'fhanas [a] saill m' ìobairt gu
madainn.
19 Toiseach ceud-thoraidh d'fhear-
ainn bheir thu do thigh an Tighearna
do Dhé. Cha bhruich thu meann
ann am bainne a mhàthar.
20 Feuch, cuiridh mis' aingeal
romhad, gu d' choimhead 'san t-slighe,
agus gu d' thabhairt a steach do'n àit'
a dh'ulluich mi.
21 Bi faicilleach [b] 'na làthair, agus
éisd r'a ghuth; na cuir 'na aghaidh [c]:
oir cha lagh e bhur cionta; oir *a ta*
m'ainm annsan.
22 Ach ma dh'eisdeas tu da rìreadh
r'a ghuth, agus ma ni thu gach ni a
labhras mise, 'an sin bithidh mi a'm'
nàmhaid do d' nàmhaid-sa [d], agus
claoidhidh mi iadsan a chlaoidheas
thu:
23 Oir théid m' aingeal romhad,
agus bheir e steach thu chum nan
Amorach, agus nan Hiteach, agus
nam Peridseach, agus nan Canaanach,
nan Hibheach agus nan Iebusach;
agus gearraidh mi as iad.
24 Cha chrom thu thu féin sìos d'an
déibh, agus cha dean thu seirbhis
doibh, ni mò a ni thu a réir an oibre:
ach sgriosaidh tu gu tur iad, agus
brisidh tu an dealbhan 'nam bloigh-
dibh.
25 Agus ni sibh seirbhis do'n
Tighearna bhur Dia, agus beannaich-
idh esan t'aran, agus t'uisge, agus
cuiridh mi euslaint air falbh o'r measg.
26 Cha tilg ni 'sam bith àl, ni mò
a bhios e seasg a'd' thìr: àireamh do
làithean coi'-lìonaidh mise.
27 Cuiridh mi m' eagal romhad,
agus sgriosaidh mi an sluagh uile dh'-
ionnsuidh an d'théid thu, agus bheir
mi air do naimhdibh gu léir an cùl a
thionndadh riut.
28 Agus cuiridh mise cearnabhain [e]
romhad, agus fògraidh iad a mach an
t-Hibheach, an Canaanach, agus an
t-Hiteach, as do làthair.
29 Cha tilg mi mach iad as do
làthair ann an aon bhliadhna, an t-
eagal gu'm bi 'm fearann air fhàsach-
adh, agus gu'm fàs fiadh-bheathaiche
na machrach lìonmhor a'd' aghaidh.
30 A lìon beag is beag [f] tilgidh
mi mach iad as do làthair, gus an
siolaich thu, agus gu'n sealbhaich thu
am fearann.
31 Agus suidhichidh mi do chrìochan
an o'n mhuir ruaidh eadhon gu ruig
fairge nam Philisteach [g] agus o'n
fhàsach gu ruig an abhuinn [h]: oir
bheir mi thairis 'nar làimh luchd-
àiteachaidh na tìre; agus tilgidh tu
mach iad as do làthair.
32 Cha dean thu riu-san, no r'an
déibh coi'-cheangal 'sam bith.
33 Cha ghabh iad còmhnuidh a'd'
thìr, an t-eagal gu'n d'thoir iad ort
peacachadh a'm' aghaidh-sa le seirbhis
a dheanamh d'an déibh; *agus* gu'm
bi *sin* 'na ribe dhuit.

C A I B. XXIV.

AGUS thubhairt e re Maois, Thig
a nìos a dh'ionnsuidh an Tigh-
earna, thu féin agus Aaron, Nadab
agus Abihu, agus trì fichead 's a deich
do sheanairibh Israeil: agus ni sibh
aoradh fad' o làimh [k].
2 Agus thig Maois 'na aonar am
fagus do'n Tighearn, ach cha d' thig
iadsan am fagus, ni mò théid an
sluagh suas maille ris.
3 Agus thàinig Maois agus dh'in-
nis e do'n t-sluagh briathran an Tigh-
earn uile, agus na breitheanais uile:
agus fhreagair an sluagh gu léir le
h-aon ghuth, agus thubhairt iad,
Gach ni a labhair an Tighearna, ni
sinne.
4 Agus sgrìobh Maois briathran
an Tighearna uile, agus dh'éirich e
gu moch 'sa' mhadainn, agus thog e
altair fuidh 'n t-sliabh, agus dà char-
ragh [l] dheug a réir dhà threibh dheug
Israeil.
5 Agus chuir e uaith òganaich do
chloinn Israeil, agus thug iad suas
tabhartais loisgte, agus dh'ìobair iad
ìobairte-sìth do dhaimh do'n Tigh-
earna.
6 Agus ghabh Maois leth na fola,
agus

G

[a] *dh'fhàgar.* [b] *Thoir an aire dhuit féin.* [c] *na brosnuich e, na cuir corruich air.* [d] *bithidh mi m'eas-caraid do d' eas-cairdibh.* [e] *connichean, beachan-each mòra; hornets.* Sasg. [f] *A' chuid, a' chuid; a' bheagan, a' bheagan.* [g] *Philistineach.* [h] *Euphrates.* [k] *fad' as.* [l] *stac.*

agus chuir e ann an cuachaibh *i*; agus leth na fola chrath e air an altair.

7 Agus ghabh e leabhar a' choi'-cheangail, agus leugh e ann an éisdeachd an t-sluaigh; agus thubhairt iadsan, Gach *ni* a labhair an Tighearna, ni sinne, agus bheir sinn géill.

8 Agus ghabh Maois an fhuil, agus chrath e *i* air an t-sluagh, agus thubhairt e, Feuch, fuil a' choi'-cheangail a rinn an Tighearna ribh a thaobh nam briathra sin uile.

9 *Agus chaidh Maois suas* agus Aaron, Nadab agus Abihu, agus tri fichead 's a deich do sheanairibh Israeil.

10 Agus chunnaic iad Dia Israeil: agus fuidh chosaibh *bha* mar gu'm biodh obair [a] do chloich shaphir, agus mar na nèamha féin [b] ann an soillse.

11 Agus air maithibh [c] chloinn Israeil cha do chuir e a làmh: agus chunnaic iad Dia, agus dh'ith iad agus dh'òl iad.

12 Agus thubhairt an Tighearna re Maois, Thig a nios a m' ionnsuidh-sa do'n t-sliabh, agus bi 'n sin: agus bheir mise dhuit clàir chloiche, agus lagh, agus na h-àitheantan a sgrìobh mi, chum iadsan a theagasg.

13 Agus dh'éirich Maois suas, agus Iosua òglach: agus chaidh Maois suas *do shliabh Dhé.*

14 Agus thubhairt e ris na seanairibh, Fanaibh-sa ruinn 'an so gus am pill sinn d'ar n-ionnsuidh: Agus feuch, *a ta* Aaron agus Hur maille ribh: esan aig am bi cùis 'sam bith, thigeadh e d'an ionnsuidhsan.

15 Agus chaidh Maois suas do'n t-sliabh, agus chòmhdaich neul an sliabh.

16 Agus chòmhnuich glòir an Tighearna [d] air sliabh Shinai, agus chòmhdaich an neul e sè laithean: Agus dh'éigh e re Maois air an t-seachdamh là a meadhon an neoil.

17 Agus *bha* foillseachadh [e] glòir an Tighearna mar theine dian-loisgeach air mullach an t-sléibh ann an sùilibh chloinn Israeil.

18 Agus chaidh Maois a' steach 'am meadhon an neoil, agus chaidh e suas do'n t-sliabh: agus bha Maois 'san t-sliabh dà fhichead là agus dà fhichead oidhche.

CAIB. XXV.

AGUS labhair an Tighearna re Maois, ag ràdh,

2 Labhair re cloinn Israeil, gu'n d' thoir iad a'm' ionnsuidh tabhartas: o gach duine a bheir seachad gu toileach e le chridhe, gabhaidh sibh mo thabhartas.

3 Agus *is* e so an tabhartas a ghabhas sibh uatha; òr, agus airgiod, agus ùmha [f],

4 Agus gorm, agus corcur [g], agus scarlaid, agus anart [h] grinn, agus *fionnadh* ghabhar,

5 Agus croicinne reitheachan air an dath dearg, agus croicinne bhroc, agus fiodh sitim,

6 Ola chum soluis, spìosraidh chum ola-ungaidh, agus a chum tùise deadh-bholaidh,

7 Clachan onics, agus clachan re'n cur anns an ephod, agus 'san uchd-éididh.

8 Agus ni iad dhomh *ionad* naomha, agus gabhaidh mise còmhnuidh 'nam measg.

9 A réir gach ni a leigeas mise dhuit fhaicinn, *a reir* samhlaidh [k] a' phàilliuin, agus samhlaidh airneis uile, eadhon mar sin ni sibh.

10 Agus ni iad àirc [l] do fhiodh sitim: dà làmh-choille gu leth [m] a fad, agus làmh-choille gu leth a leud, agus làmh-choille gu leth a h-airde.

11 Agus còmhdaichidh tu thairis i le h-òr fìor-ghlan, a stigh agus a muigh còmhdaichidh tu thairis i; agus ni thu oirre coron [n] òir m'an cuairt.

12 Agus ni [o] thu air a son ceithir failbheagan òir, agus cuiridh tu *iad* air a ceithir oisinnibh; agus *bithidh* dà fhailbheig air aon taobh dh'i, agus dà fhailbheig air an taobh eile dh'i.

13 Agus

[a] *obair làir, obair shnaidhte.* [b] *mar chorp nan nèamh.* Eabh. [c] *air uaislibh, daoine mòra.* [d] *ghabh glòir an Tighearna còmhnuidh.* [e] *sealladh, cosamhlachd.* [f] *unga, prais.* [g] *purpur.* [h] *lion-eudach.* [k] *deilbh, cumaidh, saimpleir, cestais.* [l] *cobhan, ciste.* [m] *dà làmh-choille agus leth làmh-choille.* [n] *crùn, fleasg.* [o] *tilgidh, leaghaidh.*

13 Agus ni thu bataichean [a] do fhiodh ſitim, agus còmhdaichidh tu thairis iad le h-òr.

14 Agus cuiridh tu na bataichean anns na failbheagaibh air taobhan na h-àirce, chum an àirc a ghiùlan leo.

15 Ann am failbheagaibh na h-àirce bithidh na bataichean: cha ghluaiſear uaithe [b] iad.

16 Agus cuiridh tu 'ſan àirc an fhianuis [c] a bheir miſe dhuit.

17 Agus ni thu cathair-thròcair [d] a dh'òr fìor-ghlan; dà làmh-choille gu leth a ſad, agus làmh-choille gu leth a leud.

18 Agus ni thu dà cherub òir: a dh'obair bhuailte ni thu iad aig dà cheann na cathair-thròcair.

19 Agus ni thu aon cherub aig aon cheann, agus cerub eile aig a' cheann eile do'n chathair-thròcair: ni ſibh na ceruban aig a dà cheann.

20 Agus bithidh na ceruban a' ſìneadh a mach *an* ſgiath gu h-àrd, a' còmhdachadh na cathair-thròcair le'n ſgiathaibh, agus an aghaidhean [e] r'a chéile: re cathair-na-tròcair bithidh aghaidhean nan cerub.

21 Agus cuiridh tu a' chathair-thròcair ſuas air an àirc, agus anns an àirc cuiridh tu an fhianuis a bheir miſe dhuit.

22 Agus coinnichidh miſe thu 'n ſin, agus labhraidh mi riut o uachdar na cathair-thròcair, o eadar an dà cherub a *ta* air àirc na ſianuis, a thaobh gach *ni* a dh'àithneas mi dhuit do chloinn Iſraeil.

23 Agus ni thu bòrd do fhiodh ſitim; dà làmh-choille fhad, agus làmh-choille a leud, agus làmh-choille gu leth àirde.

24 Agus còmhdaichidh tu thairis e le h-òr fìor-ghlan, agus ni thu dha coron òir m'an cuairt.

25 Agus ni thu dha iomall [f] do leud boiſe m'an cuairt, agus ni thu coron òir do'a iomall m'an cuairt.

26 Agus ni thu dha ceithir failbheagan òir, agus cuiridh tu na failbheagan air na ceithir oiſinnibh a *ta* aig a cheithir choſaibh.

27 Fa chomhair an iomaill bithidh na failbheagan, chum àitean do na bataichibh, gus am bòrd a ghiùlan.

28 Agus ni thu na bataichean do fhiodh ſitim, agus còmhdaichidh tu thairis iad le h-òr, agus giùlainear am bòrd leo.

29 Agus ni thu a mhiaſan [g], agus a thùiſeirean [h], agus a chuachan [k], agus a chopain, leis an d'thoirear ſeachad [l] iobairt-dibhe; a dh'òr fìor-ghlan ni thu iad.

30 Agus cuiridh tu air a' bhord aran taiſbeanta romhams' 'an còmhnuidh:

31 Agus ni thu coinnleir *a dh'*òr fìor-ghlan; *a dh'*obair bhuailte nithe*ar* an coinnleir. Bithidh a chos, agus a mheoir [m], a chopain, a chnapan [n], agus a bhlàtha, do'n *obair* cheudna.

32 Agus thig ſè meoir a mach as a thaobhan; tri meoir a' choinnleir a h-aon taobh dheth, agus tri meoir a' choinnleir as an taobh eile dheth:

33 Tri copain air an deanamh coſmhuil re almonaibh ann an aon mheur, *maille re* cnap agus blàth; agus tri copain air an deanamh coſmhuil re almonaibh anns a' mheur eile, *maille re* cnap agus blàth: mar ſin anns na ſè meoir a thig a mach as a' choinnleir.

34 Agus anns a' choinnleir *bithidh* ceithir copain air an deanamh coſmhuil re almonaibh, *maille re* 'n cnapaibh agus am blàthaibh.

35 Agus *bithidh* cnap fuidh dhà mheur dheth, agus cnap fuidh dhà mheur dheth, agus cnap fuidh dhà mheur dheth; *mar ſin* do na ſè meoir a thig a mach as a' choinnleir.

36 Bithidh an cnaip agus am meoir do'n *obair* cheudna: *bithidh* e uile 'na aon obair bhuailte *do* òr fìor-ghlan.

37 Agus ni thu dha ſeachd lòchrain: agus cuirear ſuas [o] a lòchrain, a chum gu'n d'thoir iad ſolus thall fa chomhair.

38 Agus

[a] *lunnan, mailcan.* [b] *ceaipe.* [c] *an teiſteas.* [d] *uachdar, còmhdach na h-àirce; ſuidhe-tròcair.* [e] *an eudanan.* [f] *imeall, ſoir.* [g] *ſhoithichean.* [h] *liaghan, ladair, ſpàinean.* [k] *a ſgàlan.* [l] *an taomar a mach; an còmhdaichear.* [m] *a mheanglain.* [n] *a mhill.* [o] *laſar.*

38 Agus *bithidh* a chlobhachan, agus a smàl-fhoithichean a dh'òr fior-ghlan.

39 *Do* thalann a dh'òr fior-ghlan nithear e, maille ris na soithichibh sin uile.

40 Agus feuch gu'n dean thu *iad* a réir an t-samhlaidh, a chaidh leigeadh dhuit fhaicinn 'san t-sliabh.

C A I B. XXVI.

AGUS ni thu 'm pàilliun *le* deich cùirteinibh a *a dh'* anart grinn toinnte, agus *do* ghorm; agus *do* chorcur, agus *do* scarlaid; *maille re* cerubaibh *a dh'* obair ealanta[a] ni thu iad:

2 Fad aon chùirtein ochd làmhacoille thar fhichead, agus leud aon chùirtein, ceithir làmha-coille: an t-aon tomhas do na cùirteinibh uile.

3 Bithidh cùig cùirteinean air an ceangal gach aon r'a chéile; agus na cùig cùirteinean *eile* air an ceangal gach aon r'a chéile.

4 Agus ni thu lùban do ghorm air foir aon chùirtein, o'n iomall anns a' choi'-cheangal: agus air a' mhodh cheudna ni thu 'am foir a' chùirtean a's fhaid' a mach, ann an coi'-cheangal an dara *b-aon*.

5 Leth-cheud lùb ni thu ann an aon chùirtein, agus leth-cheud lùb ni thu 'am foir a' chùirtein a *ta* ann an coi'-cheangal an dara *b-aon*; a chum's gu'n gabh na lùban greim d'a chéile.

6 Agus ni thu leth-cheud cromag[b] òir, agus ceanglaidh tu na cùirteinean r'a chéile leis na cromagaibh: agus bithidh e 'na aon phàilliun.

7 Agus ni thu cùirteine *do fhionna* ghabhar *gu bhi* 'nan còmhdach air a' phàilliun: aon chùirtein deug ni thu dhiubh.

8 Fad aon chùirtein deich làmhacoille thar fhichead, agus leud aon chùirtein ceithir làmha-coille: *bithidh* an t-aon chùirtein deug *uile* dh'aon tomhas.

9 Agus cuiridh tu re chéile cùig cùirteine leo féin, agus sè cùirteine leo féin, agus dùblaichidh tu'n seathadh cùirtein air taobh beoil a' bhùtha.

10 Agus ni thu leth-cheud lùb air foir an aon chùirtein *a's* fhaid' a mach 'sa' choi'-cheangal, agus leth-cheud lùb air foir a' chùirtein a tha coi'-cheangal an dara *b-aon*.

11 Agus ni thu leth-cheud cromag a dh'umha, agus cuiridh tu na cromagan anns na lùbaibh, agus cuiridh tu 'm bùth re chéile, air chor as gu'm bi e 'na aon.

12 Agus am fuigheal a dh'fhàgar do chùirteinibh a' bhùtha, leth a' chùirtein a dh'fhàgar, crochar e thar taoibh cùil a' phàilliuin.

13 Agus làmh-choille air an taobh so, agus làmh-choille air an taobh eile do na dh'fhàgadh air *am* fad do chùirteinibh a' bhùtha, crochar e thar taobhan a' phàilliuin, air an taobh so, agus air an taobh eile, g'a chòmhdachadh.

14 Agus ni thu còmhdach air son a' bhùtha *do* chroicnibh[c] reitheachan air an dath' dearg, agus còmhdach do chroicnibh bhroc os a cheann.

15 Agus ni thu buird air son a' phàilliuin *do* fhiodh fitim, 'nan seasamh:

16 Deich làmha-coille fad buird, agus làmh-choille gu leth leud aon bhuird.

17 *Bithidh* dà làimh aig aon bhord, air an cur 'an ordugh fa chomhair a' chéile; mar so ni thu do uile bhordaibh a' phàilliuin.

18 Agus ni thu na buird air son a' phàilliuin, fichead bord air an taobh deas, ris an airde deas.

19 Agus ni thu dà fhichead cas[d] airgid, fuidh 'n fhichead bord: da chois fuidh aon bhord a réir a dhà làimh, agus dà chois fuidh bhord eile a réir a dhà làimh.

20 Agus air son an dara taoibh do'n phàilliun air an taobh tuath, fichead bord;

21 Agus an dà fhichead cas *a dh'* airgiod, dà chois fuidh aon bhord, agus dà chois fuidh bhord eile.

22 Agus air son thaoibh a' phàilliuin

[a] *innleachdaich.* [b] *clasp.* [c] *chraicnibh.* [d] *bonn, pulag, socaid.*

liuin air an làimh an iar, ni thu ſè buird.

23 Agus dà bhord ni thu air ſon oiſinnean a' phàilliuin 'ſan dà thaobh.

24 Agus bithidh iad air an coi'-cheangal ſuidhe, agus mar an ceudna bithidh iad air an coi'-cheangal os a cheann re aon fhailbheig; mar ſo nithear dhoibh le chéile; bithidh iad air ſon an dà oiſinn.

25 Agus bithidh ochd buird ann, agus an caſan *a dh'*airgiod, sè caſa deug; dà chois fuidh aon bhord, agus dà chois fuidh bhord eile.

26 Agus ni thu croinn do fhiodh ſitim; cùig air ſon nam bord air aon taobh do'n phàilliun.

27 Agus cùig croinn air ſon nam bord air an taobh eile do'n phàilliun, agus cùig croinn air ſon bhord taoibh a' phàilliuin air ſon an dà thaobh an iar.

28 Agus ruigidh an crann meadhonach ann am meadhon nam bord o cheann gu ceann.

29 Agus còmhdaichidh tu thairis [a] na buird le h-òr, agus ni thu 'm failbheagan *a dh'*òr *mar* àiteachan do na crannaibh: agus còmhdaichidh tu thairis na croinn le h-òr.

30 Agus togaidh tu ſuas am pàilliun a réir a ſhamhlaidh [b], a nochdadh dhuit 'ſan t-ſliabh.

31 Agus ni thu brat *do* ghorm, agus *do* chorcur, agus *do* ſcarlaid, agus *a dh'*anart grinn [c] toinnte: a dh'obair ealanta nìthear e, le cerubaibh.

32 Agus crochaidh tu e air ceithir poſtaibh *do fhiodh* ſitim, air an còmhdachadh thairis le h-òr: agus *bithidh* an cromagan *a dh'*òr, air na ceithir bonnaibh [d] airgid.

33 Agus crochaidh tu ſuas am brat fuidh na cromagaibh, agus bheir thu ſteach ann an ſin àirc na fianuis, an taobh a ſtigh do'n bhrat: agus roinnidh am brat dhuibhſan eadar an *t-ionad* naomha agus an *t-ionad* ro-naomha.

34 Agus cuiridh tu cathair-na-tròcair air àirc na fianuis, 'ſan *ionad* ro-naomha.

35 Agus cuiridh tu'm bord an leth muigh do'n bhrat, agus an coinnleir fa chomhair a' bhuird air taobh deas a' phàilliuin: agus cuiridh tu 'm bord air an taobh tuath.

36 Agus ni thu còmhdach [e] air ſon doruis a' bhùtha, *do* ghorm, agus *do* chorcur, agus *do* ſcarlaid, agus *do* anart grinn toinnte, oibrichte le h-obair gréis [f].

37 Agus ni thu air ſon a' chòmhdaich cùig poſtan [g] *do fhiodh* ſitim, agus còmhdaichidh tu thairis iad le h-òr, *agus bithidh* an cromagan *a dh'*òr, agus tilgidh tu air an ſon cùig buinn ùmha [h].

CAIB. XXVII.

AGUS ni thu altair *do* fhiodh ſitim; cùig làmha-coille air fad, agus cùig làmha-coille air leud: bithidh an altair ceithir-chearnach, agus a h-airde tri làmha-coille.

2 Agus ni thu a h-adhairceans [k] air a ceithir oiſinnibh: bithidh a h-adhaircean do'a ni cheudna: agus còmhdaichidh tu thairis i le h-ùmha.

3 Agus ni thu a h-aigheannan a ghabhail a luaithe, agus a ſluaſaidean, agus a cuachan [l], agus a greimichean, agus a h-aigheannan-teine: a ſoithichean uile ni thu *a dh'*ùmha.

4 Agus ni thu dh'i cliath do lìonobair ùmha: agus ni thu air an lìon ceithir failbheagan ùmha air a ceithir oiſinnibh.

5 Agus cuiridh tu e fuidh chuairt na h-altarach gu h-ìoſal, agus bithidh an lìon gu nuig meadhon na h-altarach.

6 Agus ni thu bataichean [m] do'n altair, bataichean *do* fhiodh ſitim, agus còmhdaichidh tu thairis iad le h-ùmha.

7 Agus cuirear na bataichean anns na failbheagaibh, agus bithidh na bataichean air dà thaobh na h-altarach g'a giùlan.

8 Fàs le bordaibh ni thu i: mar a nochdadh dhuit 'ſan t-ſliabh, mar ſin nìthear i.

9 Agus ni thu cùirt a phàilliuin air an taobh

[a] *cuiridh tu thairis.* [b] *a chumachd.* [c] *caol, mìn, ſìnealta.* [d] *bunaitibh.* [e] *brat.* [f] *obair ſnàthaide.* [g] *troſtain.* [h] *praiſe.* [k] *adhaircean.* [l] *ſoithichean-crathaidh.* [m] *lunnan.*

an taobh deas, re deas: *bithidh* cùir-
teinean air son na cùirte *do* anart
grinn toinnte; ceud làmh-choille am
fad, air aon taobh.
10 Agus *bithidh* a fichead post, a-
gus am fichead bonn *a dh'*ùmha: *bi-
thidh* cromagan nam post, agus an
cuairteagan *a dh'*airgiod.
11 Agus mar an ceudna air an
taobh tuath air fad, *bithidh* cuirteine
ceud *làmh-choille* air fad, agus a fichead
post, agus am fichead bonn *a dh'*ùmha:
cromagan nam post, agus an cuairt-
eagan, *a dh'*airgiod.
12 Agus *air* leud na cùirte air an
taobh an iar, *bithidh* cùirteine do leth-
cheud làmh-choille: am puist deich,
agus am buinn deich.
13 Agus *bithidh* leud na cùirte air
an taobh an ear, ris an aird an ear,
leth-cheud làmh-choille.
14 Agus *bithidh* na cùirteine air aon
taobh cùig làmha-coille deug: am
puist tri, agus am buinn tri.
15 Agus air an taobh eile *bithidh* a
cùirteine cùig *làmha-coille* deug: am
puist tri, agus am buinn tri.
16 Agus air son geataidh na cùirte
bithidh brat a dh'fhichead làmh-choille,
do ghorm, agus *do* chorcur, agus *do*
scarlaid, agus *a dh'*anart grinn toinnte,
oibrichte le h-obair snàthaide: am
puist ceithir, agus am buinn ceithir.
17 *Bithidh* na puist uile timchioll
na cùirte air an ceangal m'an cuairt[a]
le h-airgiod: *bithidh* an cromagan a
dh'airgiod, agus am buinn *a dh'*ùmha:
18 Fad na cùirte ceud làmh-choille,
agus a leud leth-cheud *làmh-choille*
'sgach àite, agus *a h-*airde cùig làmha-
coille, *a dh'*anart grinn toinnte; agus
am buinn *a dh'*ùmha.
19 *Bithidh* uile shoithichean a'
phàilliuin, 'na sheirbhis uile, agus a
phinneachan uile, agus pinneacha na
cùirte uile *do* ùmha.
20 Agus àithnidh tu do chloinn Is-
raeil, gu'n d'thoir iad a t'ionnsuidh
oladh fhìor-ghlan a' chroinn-olaidh,
bruite air son an t-soluis, a thoirt air
an lòchran[b] lasadh 'an comhnuidh.
21 Ann am bùth a' choi'-thionail
an taobh a muigh do'n bhrat, a *ta* sa
chomhair na fianuis, orduichidh Aa-
ron e, agus a mhic, o fheasgar gu
madainn 'an làthair an Tighearna:
bithidh e 'na reachd sìorruidh d'an
ginealachaibh, a leth chloinn Israeil.

C A I B. XXVIII.

AGUS gabh a t' ionnsuidh Aaron
do bhràthair, agus a mhic maille
ris, o mheasg chloinn Israeil, a chum
gu fritheil e dhomhsa ann an dreuchd
an t-sagairt, *eadhon* Aaron, Nadab a-
gus Abihu, Eleasar agus Itamar, mic
Aaroin.
2 Agus ni thu éididh[c] naomha do
d' bhràthair Aaron, air son glòir, agus
air son maise.
3 Agus labhraidh tu riu-san uile *a
ta* glic 'an cridhe, a lìon mise le spiorad
a' ghliocais; agus ni iad éididh Aaroin,
g'a choisrigeadh, a chum gu fritheil e
dhomhs' ann an dreuchd an t-sagairt.
4 Agus so an éididh a ni iad;
uchd-éididh, agus ephod, agus falluing,
agus còta iomadh-dathach[d], crùn-sag-
airt, agus crios: agus ni iad éididh
naomha air son Aaroin do bhràthar,
agus air son a mhac, a chum gu frith-
eil e dhomhs' ann an dreuchd an
t-sagairt.
5 Agus gabhaidh iad òr, agus
gorm, agus corcur, agus scarlaid, agus
anart grinn.
6 Agus ni iad an ephod *do* òr, *do*
ghorm, agus *do* chorcur, agus *do* scar-
laid, agus *do* anart grinn toinnte, le
h-obair ealanta.
7 Bithidh an dà mhìr-guailne[e] aice
ceangailte r'a chéile aig a dà shoir;
agus *mar sin* cuirear re chéile i.
8 Agus bithidh crios rìomhach[f]
na h-ephoid a ta air a h-uachdar, a réir
a h-oibre féin, do'n *ni* cheudna[g], *eadhon*
do òr, *do* ghorm, agus *do* chorcur, agus
do scarlaid, agus *do* anart grinn toinnte.
9 Agus

[a] *cuairtichte.* [b] *lampa.* [c] *eudaichean.* [d] *do obair gréis, rìombach, ainneamh.* [e] *dà ghuailleachan, 'n a chlàr-guailne.* [f] *orlos ainneamh: obair ealanta,* Eabh. [g] *do'n* stubh *cheudna.*

9 Agus gabhaidh tu dà chloich onics, agus gearraidh tu orra ainmeanna chloinn Iſraeil.

10 Sè d'an ainmibh air aon chloich, agus sè ainmeanna chàich air a' chloich eile[a], a réir an ſinead[b].

11 Le h-obair gearradair 'an cloich[c], le gearradh ſeulaidh, gearraidh tu an dà chloich, le ainmibh chloinn Iſraeil: bheir thu fa'near an ceangal[d] ann am fàilibh òir[e].

12 Agus cuiridh tu an dà chloich air guailnibh na h-ephoid, *mar* chlocha cuimhneachain do chloinn Iſraeil. Agus giùlainidh Aaron an ainmean ann an làthair an Tighearn air a dhà ghualainn, mar chuimhneachan.

13 Agus ni thu failean òir;

14 Agus dà ſhlabhruidh *a dh'*òr fìor-ghlan aig na cinn: ni thu iad *a dh'*obair fhighte, agus ceanglaidh tu na ſlabhruidhean fighte ris na failean:

15 Agus ni thu uchd-éididh a' bhreitheanais le h-obair ealanta; a réir oibre na h-ephoid ni thu i: *do* òr, *do* ghorm, agus *do* chorcur, agus *do* ſcarlaid, agus *do* anart grinn toinnte ni thu i.

16 Ceithir-chearnach bithidh i, *agus* dà-ſhillte[f]; réis a fad, agus réis a leud.

17 Agus cuiridh tu innte ſuidheachadh chlach[g]; *eadhon* ceithir ſreathan[h] chlach; *a' cheud* ſreath, ſardius, topas, agus carbuncul: *ſo* a' cheud ſreath.

18 Agus an dara ſreath; emerald, ſaphir, agus daoimein[k].

19 Agus an treas ſreath; ligur, agat, agus ametiſt.

20 Agus an ceathramh ſreath; beril, agus onics, agus iaſper: ceanglar iad le h-òr 'nan ſuidheachadh.

21 Agus bithidh na clochan le ainmibh chloinn Iſraeil, a dhà dheug, a réir an ainmeanna: *le* gearradh ſeulaidh, bithidh gach aon aca le h-ainm féin a réir an dà threibh dheug.

22 Agus ni thu air an uchd-éididh ſlabhruidhean aig na cinn, *a dh'*obair fhighte[l] *dh'* òr fìorghlan.

23 Agus ni thu air an uchd-éididh dà fhàinne òir, agus cuiridh tu an dà fhàinne air dà cheann na h-uchd-éididh.

24 Agus cuiridh tu 'n dà *ſhlabhruidh* fhighte òir 'ſan dà fhàinne, *a ta* aig cinn na h-uchd-éididh.

25 Agus dà cheann *eile* na dà *ſhlabhruidh* fhighte daingnichidh tu anns an dà fhail, agus cuiridh tu *iad* air mìribh-guailne na h-ephoid air a beulaobh.

26 Agus ni thu dà fhàinne òir, agus cuiridh tu iad air dà cheann na h-uchd-éididh, 'ſan fhoir ſin dith, a *ta* aig taobh na h-ephoid a ſtigh.

27 Agus ni thu dà fhàinne *eile* do òr, agus cuiridh tu iad air dà thaobh na h-ephoid, ſuiſe, làimh r'a cuid-toiſich, fa chomhair a coi'-cheangail *eile*, os cionn crios rìomhach na h-ephoid.

28 Agus ceanglaidh iad an uchd-éididh leis a fàinnibh, re fàinnibh na h-ephoid le h-éill[m] ghuirm, chum as gu'm bi *i* os cionn crios rìomhach na h-ephoid, agus nach fuaſglar an uchd-éididh o'n ephoid.

29 Agus giùlainidh Aaron ainmeanna chloinn Iſraeil ann an uchd-éididh a' bhreitheanais, air a chridhe, 'nuair a théid e ſteach do'n *ionad* naomha, mar chuimhneachan ann an làthair an Tighearn a ghnà.

30 Agus cuiridh tu ann an uchd-éididh a' bhreitheanais, an Urim agus an Tummim; agus bithidh iad air cridhe Aaroin, an uair a *théid* e ſteach 'an làthair an Tighearna: agus giùlainidh Aaron breitheanas chloinn Iſraeil air a chridhe ann an làthair an Tighearn 'an còmhnuidh.

31 Agus ni thu falluing na h-ephoid uile *do* ghorm.

32 Agus bithidh toll 'na mullach, 'na meadhon[n]: bithidh foir[o] aice timchioll a tuill a dh'obair fhighte, mar tholl lùiriche-màillich, a chum as nach reubar i.

33 Agus *gu h-ioſal* air a h-iomall ni thu pomgranata *do* ghorm, agus *do* chorcur,

[a] *air an darna cloich.* [b] *a réir am breith; a réir an ginealacha.* Eabh. [c] *clach-ſhnaidheadair.* [d] *an cur, an ſuidheachadh.* [e] *fàinnean, foirean òir.* [f] *air a dùblachadh.* [g] *àlach chloch.* [h] *ſreudan.* [k] *diamond.* Saſg. [l] *thoinnte.* [m] *cordail; lace.* Saſg. [n] *toll a mullaich 'na meadhon.* [o] *oir.*

thoricur, agus do scarlaid, air a h-io-
mall m'an cuairt; agus cluig òir eat-
orra m'an cuairt:
34 Clag òir agus pomgranat, clag
òir agus pomgranat, air iomall na
falluinge m'an cuairt.
35 Agus bithidh i air Aaron gu
frithealadh: agus cluinnear a fuaim, an
uair a théid e steach do'n *ionad* naomh
'an làthair an Tighearn, agus an uair a
thig e mach; a chum nach bàsaich e.
36 Agus ni thu leachd[a] *a dh'*
òr fìor-ghlan, agus gearraidh tu
oirre *cosmhuil re* gearradh seulaidh,
NAOMHACHD DO'N TIGH-
EARNA.
37 Agus cuiridh tu i air éill ghuirm,
agus bithidh i air a' chrùn-sagairt: air
taobh beoil a' chrùin-sagairt bithidh i.
38 Agus bithidh i air clàr eudain
Aaroin, agus giùlainidh Aaron cionta
nan nithe naomha, a choisrigeas clann
Israeil 'nan tiodhlacaibh naomha uile:
agus bithidh i air clàr eudain 'an
còmhnuidh, a chum as gu'm bi iad
taitneach 'an làthair an Tighearna.
39 Agus ni thu 'n còta le h-obair
gréis a dh'anart grinn, agus ni thu'n
crùn-sagairt a dh'anart grinn, agus ni
thu 'n crios a dh'obair snàthaide.
40 Agus do mhic Aaroin ni thu
còtaichean, agus ni thu dhoibh criosan,
agus boineidean ni thu dhoibh, air son
glòir agus air son maise.
41 Agus cuiridh tu iad air Aaron
do bhràthair, agus air a mhic maille
ris; agus ungaidh tu iad, agus coisrig-
idh tu iad, agus naomhaichidh tu
iad; agus frithealaidh iad dhomhs'
ann an dreuchd an t-sagairt.
42 Agus ni thu dhoibh briogais
anairt a dh'fholach' an nochd[b]: o'*n*
leasruidh eadhon gus *an* sléisdean ruig-
idh iad.
43 Agus bithidh iad air Aaron,
agus air a mhic, an uair a thig iad a
stigh do phàilliun a' choi'-thionail, no
'nuair a thig iad am fagus do'n altair, a
shrithealadh 'san *ionad* naomha; chum
as nach giùlain iad aingidheachd, agus
nach faigh iad bàs: *bithidh e* 'na reachd
sìorruidh dha féin, agus d'a shliochd
'na dhéigh.

CAIB. XXIX.

AGUS so an ni a ni thu riu chum
an coisrigeadh, gu frithealadh
dhomhs' ann an dreuchd an t-sagairt:
Gabh aon tarbh òg, agus dà reithe
gun ghaoid[c],
2 Agus aràn neo-ghoirtichte, agus
breacagan neo-ghoirtichte coi'-measg-
ta le h-oladh, agus gearragan[d] neo-
ghoirtichte, ungta le h-ola: do phlùr[e]
a' chruithneachd ni thu iad.
3 Agus cuiridh tu iad ann an aon
bhascaid, agus bheir thu iad leat 'sa'
bhascaid, maille ris an tarbh òg agus
an dà reithe.
4 Agus bheir thu Aaron agus a
mhic gu dorus pàilliuin a' choi'-thio-
nail, agus ionnailidh[f] tu iad le h-uisge.
5 Agus gabhaidh tu an éididh, agus
cuiridh tu 'n còta air Aaron, agus fal-
luing na h-ephoid, agus an ephod, a-
gus an uchd-éididh, agus criosraichidh
tu e le crios riomhach na h-ephoid.
6 Agus cuiridh tu 'n crùn-sagairt
air a cheann, agus an crùn naomh air
a' chrùn-sagairt.
7 Agus gabhaidh tu 'n oladh-ung-
aidh, agus dòirtidh tu air a cheann i,
agus ungaidh tu e.
8 Agus bheir thu leat a mhic, agus
cuiridh tu còtaichean orra.
9 Agus criosraichidh tu iad le crios-
aibh (Aaron agus a mhic) agus cuir-
idh tu na boineidean orra: agus is
leosan dreuchd an t-sagairt le reachd
bith-bhuan: agus coisrigidh tu Aaron
agus a mhic.
10 Agus bheir thu fa'near an tarbh
a thoirt gu beulaobh pàilliuin a' choi'-
thionail: agus cuiridh Aaron agus a
mhic an làmhan air ceann an tairbh.
11 Agus marbhaidh tu 'n tarbh 'an
làthair an Tighearna, làimh re dorus
pàilliuin a' choi'thionail.
12 Agus gabhaidh tu do fhuil an
tairbh, agus cuiridh tu i air adhaircibh
na h-altarach le d'mheur, agus dòirtidh
tu 'n fhuil uile aig bun na h-altarach.
13 Agus

[a] *clàr, bonn; blàth.* Eabh. [b] *an lomnochdùidh.* [c] *gun-ghò, gun ai-
neamh.* [d] *abhlain; wafers.* Sasg. [e] *mhin.* [f] *nighidh.*

13 Agus gabhaidh tu 'n t-faill uile ta comhdachadh a' mhionaich, agus an fcairt *a ta* os cionn nan àinean [a], agus an dà àra [b], agus an t-faill a *ta* orra, agus loifgidh tu *iad* air an altair.

14 Ach feoil an tairbh agus a fheiche [c], agus aolach loifgidh tu le teine 'n taobh a muigh do'n champa: *is tabhartas*-peacaidh e.

15 Gabhaidh tu mar an ceudna aon reithe, agus cuiridh Aaron agus a mhic an làmhan air ceann an reithe.

16 Agus marbhaidh tu 'n reithe, agus gabhaidh tu fhuil, agus crathaidh tu *i* m'an cuairt air an altair.

17 Agus gearraidh tu 'n reithe 'na mhìribh, agus nighidh tu mhionach, agus a chafan, agus cuiridh tu *iad* air a mhìribh, agus air a cheann.

18 Agus loifgidh tu 'n reithe uile air an altair: *is* tabhartas-loifgte e do'n Tighearna; fàile cùbhraidh, tabhartas air a thoirt fuas le teine do'n Tighearna.

19 Agus gabhaidh tu 'n reithe eile, agus cuiridh Aaron agus a mhic an làmhan air ceann an reithe.

20 'An fin marbhaidh tu 'n reithe, agus gabhaidh tu d'a fhuil, agus cuiridh tu *i* air bàrr cluaife *deis* Aaroin, agus air bàrr cluaife deis a mhac, agus air ordaig [d] an làimhe deife, agus air ordaig an coife deife; agus crathaidh tu 'n fhuil air an altair m'an cuairt.

21 Agus gabhaidh tu do'n fhuil a *ta* air an altair, agus do'n oladh-ungaidh, agus crathaidh tu *iad* air Aaron, agus air éididh, agus air a mhic, agus air éididh a mhac maille ris: agus coifrigear e féin, agus éididh, agus a mhic, agus éididh a mhac maille ris.

22 Mar an ceudna gabhaidh tu do'n reithe an t-faill, agus bun an earbuill, agus an t-faill a ta comhdachadh a' mhionaich, agus fcairt nan àinean, agus an dà àra, agus an t-faill a *ta* orra, agus an flinnean deas; oir *is* reithe coifrigidh e:

23 Agus aon bhuilionn [e] arain, agus aon bhreacag arain le h-ola, agus aon ghearrag a bafcaid an arain neo-ghoirtichte a *ta* 'n làthair an Tighearna.

24 Agus cuiridh tu *iad* uile ann an làmhan Aaroin, agus ann an làmhan a mhac; agus luaifgidh tu [f] iad mar thabhartas-luaifgte 'an làthair an Tighearna.

25 Agus gabhaidh tu iad bhàrr an làmh, agus loifgidh tu *iad* air an altair mar thabhartas-loifgte, chum fàile cùbhraidh 'an làthair an Tighearna: *is* tabhartas e air a thoirt fuas le teine do'n Tighearna.

26 Agus gabhaidh tu 'n t-uchd o reithe coifrigidh Aaroin, agus luaifgidh tu e *mar* thabhartas-luaifgte 'an làthair an Tighearna: agus bithidh fin agadfa mar chuibhrionn.

27 Agus naomhaichidh tu uchd an tabhartais-luaifgte, agus flinnean an tabhartais-thogta, a chaidh luafgadh, agus a thogail fuas do reithe a' choifrigidh, *eadhon do'n ni fin* a's le h-Aaron, agus do'n ni fin a *bhuinear* d'a mhic.

28 Agus bithidh e le h-Aaron [g] agus le mhic le reachd bithbhuan, o chloinn Ifraeil; oir *is* tabhartas-togta e: agus bithidh e 'na thabhartas-togta o chloinn Ifraeil do iobairtibh an tabhartafan-sìth, *eadhon* an tabhartastogta do'n Tighearna.

29 Agus is le mic Aaroin éididh naomha-fan 'na dhéigh, gu bhi air an ungadh innte, agus gu bhi air an coifrigeadh innte.

30 Seachd laithean cuiridh efan d'a mhic air i, a bhios 'na fhagart 'na àite, a théid a ftigh do phàilliun a' choi'-thionail, a fhrithealadh 'fan *ionad* naomha.

31 Agus gabhaidh tu reithe a' choifrigidh, agus bruichidh tu fheoil 'fan *ionad* naomha.

32 Agus ithidh Aaron agus a mhic feoil an reithe, agus an t-aran a ta 'fa' bhafcaid, aig dorus pàilliuin a' choi'-thionail.

33 Agus ithidh iad na nithe fin leis an d'rinneadh an réite [h], chum an

[a] *àe, grùan.* [b] *àrainn.* [c] *a fhcice.* [d] *ardoig.* [e] *mhuilionn.* [f] *crathaidh tu a nunn agus a nall.* [g] *buinidh e dh' Aaron.* [h] *réidhte, sìth.*

an coisrigeadh agus an naomhachadh:
ach cha 'n ith coigreach *dhiubh*, do
bhri' gu *bheil* iad naomha.
34 Agus ma dh'fhàgar a' bheag a
dh'fheoil a' choisrigidh, no bheag
do'n aran, gus a' mhadainn; 'an sin
loisgidh tu 'm fuigheall [a] le teine:
cha 'n ithear e, do bhri' gu *bheil* e
naomha.
35 Agus ni thu mar so re h-Aaron,
agus r'a mhic, a réir nan uile *nithe* a
dh'àithn mise dhuit: seachd laithean
coisrigidh tu iad.
36 Agus bheir thu seachad gach là
tarbh òg *mar* thabhartas-peacaidh,
chum réite [b]: agus glanaidh tu 'n al-
tair an uair a ni thu réite air a son, a-
gus ungaidh tu i chum a naomhach-
adh.
37 Seachd laithean ni thu réite air
son na h-altarach, agus naomhaichidh
tu i; agus bithidh i 'na h-altair ro-
naomha: gach ni a bheanas ris an
altair, naomhaichear e.
38 Agus so an ni a bheir thu
seachad air an altair; dà uan a dh'aois
bliadhna, o là gu là 'an còmhnuidh.
39 Aon uan bheir thu seachad 'sa'
mhadainn; agus an t-uan eile bheir
thu seachad mu fheasgar.
40 Agus maille ris an aon uan an
deicheamh cuid do phlùr mìn [c]
measgta leis a' cheathramh cuid do
hin a dh'ola bhrùite; agus an ceath-
ramh cuid do hin a dh'fhion, *mar*
thabhartas-dibhe.
41 Agus an t-uan eile bheir thu
seachad mu fheasgar, *agus* ni thu ris
a réir tabhartais-bidhe na maidne, a-
gus a réir a tabhartais-dibhe, mar
fhàile cùbhraidh, tabhartas air a
thoirt suas le teine do'n Tighearna.
42 *Bithidh so* 'na thabhartas-loisgte
bith-bhuan [d] air feadh bhur ginealacha,
aig dorus pàilliuin a' choi'-thionail 'an
làthair an Tighearna, far an coinnich
mise sibh, a labhairt riut-sa 'n sin.
43 Agus 'an sin coinnichidh mise
clann Israeil, agus naomhaichear *am
pàilliun* le m' ghlòir.
44 Agus naomhaichidh mi pàilliun
a' choi'-thionail, agus an altair:
naomhaichidh mi mar an ceudna
Aaron agus a mhic, gu frithealadh
dhomh ann an dreuchd an t-sagairt.
45 Agus gabhaidh mi còmhnuidh
'am measg chloinn Israeil, agus bith-
idh mi'm Dhia aca.
46 Agus bithidh fios aca gur mise
an Tighearn an Dia, a thug a mach
iad a talamh na h-Eiphit, a chum 's
gu'n gabh mi còmhnuidh 'nam measg:
Is mise an Tighearn an Dia.

C A I B. XXX.

AGUS ni thu altair a losgadh tùis
oirre; *do* fhiodh sitim ni thu i:
2 Làmh-choille a fad, agus làmh-
choille a leud (ceithir-chearnach bith-
idh i) agus dà làmh-choille a h-airde:
bithidh a h-adhaircean do'n *ni* cheudna.
3 Agus còmhdaichidh tu thairis
i le h-òr fìor-ghlan, a mullach, agus
a taobhan [e] m'an cuairt, agus a h-adh-
aircean: agus ni thu dh'i coron òir
m'an cuairt.
4 Agus dà fhailbheig òir ni thu
dh'i fuidh a coron; aig a dà oisinn ni
thu *iad*, air a dà thaobh: agus bithidh
iad air son àiteachan do na bataibh
chum a giùlan leo.
5 Agus ni thu na bataichean *do*
fhiodh sitim, agus còmhdaichidh tu
thairis iad le h-òr.
6 Agus cuiridh tu i fa chomhair an
roinn-bhrat, a ta làimh re àirc na
fianuis, air beulaobh cathair-na-tròc-
air, a *ta* os cionn na fianuis, far an
coinnich mise thu.
7 Agus loisgidh Aaron tùis chùbh-
raidh oirre gach madainn; an uair a
dheasaicheas e na lòchrain, loisgidh e
tùis oirre.
8 Agus an uair a lasas Aaron na
lòchrain mu fheasgar, loisgidh e
tùis oirre; tùis bhith-bhuan 'an là-
thair an Tighearn, air feadh bhur
ginealacha.
9 Cha loisg sibh tùis choimheach
'sam bith oirre, no iobairt-loisgte, no
tabhartas-bidhe; ni mò dhòirteas sibh
tabhartas-dibhe oirre.

[a] *fuighleach.* [b] *gu sìothachadh.* [c] *do mhin mhìn a' chruinneachd.*
[d] *'na gnà-ofrail loisgte.* [e] *a h-uachdar agus a sliosan.*

10 Agus ni Aaron réite air a h-adh-aircibh aon uair 'ſa' bhliadhna le fuil iobairt-pheacaidh na réite: aon uair 'ſa bhliadhna ni e réite oirre, air feadh bhur ginealacha: tha i ro-naomha do'n Tighearna.

11 Agus labhair an Tighearna re Maois, ag ràdh,

12 'Nuair a ghabhas tu cunntas chloinn Iſraeil a réir an àireimh; 'an ſin bheir gach duine dhiubh éiric air ſon anma do'n Tighearna, 'nuair a dh'àirmheas tu iad; a chum nach bi plàigh 'nam meaſg, an uair a dh'àir-mheas tu iad.

13 So bheir iad uatha, gach aon a théid ſeachad nam meaſgſan a dh'àir-mhear; leth ſeceil a réir ſeceil an *ionaid* naomha (*'se* ſecel ſichead gerah) leth ſeceil mar thabhartas do'n Tigh-earna.

14 Bheir gach aon a théid ſeachad 'nam meaſg-ſan a dh'àirmhear, o fhichead bliadhn' a dh'aois agus os a cheann, tabhartas do'n Tighearna.

15 Cha d'thoir an ſaibhir tuilleadh, agus cha d'thoir am bochd ni's lugha na leth ſeceil, an uair a bheir *iad* tabh-artas do'n Tighearna, a dheanamh réite air ſon bhur n-anmanna.

16 Agus gabhaidh tu airgiod na réite o chloinn Iſraeil, agus cuiridh tu air leth [a] e ſa chomhair ſeirbhis pàil-liuin a' choi'thionail; agus bithidh e 'na chuimhneachan do chloinn Iſraeil 'an làthair an Tighearn, a dheanamh réite air ſon bhur n-anmanna.

17 Agus labhair an Tighearna re Maois, ag ràdh,

18 Ni thu mar an ceudna ſoitheach-ionnlaid *a dh*'ùmha, agus a chas *a dh*'ùmha, chum ionnlaid: agus cuir-idh tu e eadar pàilliun a' choi'-thionail agus an altair, agus cuiridh tu uiſge ann.

19 Agus ionnailidh Aaron agus a mhic an làmhan as, agus an coſan.

20 'Nuair a théid iad a ſteach do phàilliun a choi'-thionail, ionnailidh ſiad iad féin le h-uiſge, chum as nach bàſaich iad: no 'nuair a thig iad am fagus do'n altair a fhrithealadh, a loſgadh tabhartais a bheirear ſuas le teine do'n Tighearna.

21 Agus ionnailidh iad an làmhan agus an coſan, a chum nach bàſaich iad: agus bithidh e 'na ordugh bith-bhuan dhoibh, *eadhon* dha féin agus d'a ſhliochd air feadh an ginealacha.

22 Agus labhair an Tighearna re Maois, ag ràdh,

23 Gabh-ſa dhuit féin mar an ceudna ſpìoſraidh thaghta do mhirr fìor-ghlan, cùig ceud *ſecel*, agus do chanal cùbhraidh a leth uiread, *eadhon* dà cheud agus leth-cheud *ſecel*, agus do chalamus cùbhraidh dà cheud agus leth-cheud *ſecel*,

24 Agus do chaſia cùig ceud *ſecel* a réir ſeceil an *ionaid* naomha, agus hin do oladh a' chroinn-olaidh.

25 Agus ni thu dheth oladh-ung-aidh naomha, oladh-ungaidh coi'-meaſgta réir ealadhain an léigh [b]: bith-idh i 'na h-oladh-ungaidh naomha.

26 Agus ungaidh tu pàilliun a' choi'-thionail leatha, agus àirc na fianuis,

27 Agus am bord agus a ſhoith-ichean uile, agus an coinnleir agus a ſhoithichean, agus altair na tùiſe,

28 Agus altair na h-iobairt-loiſgte agus a ſoithichean uile, agus an ſoith-each-ionnlaid agus a chas.

29 Agus naomhaichidh tu iad, a chum as gu'm bi iad ro-naomha: ge b'e ni a bheanas riu, bithidh e naomha.

30 Agus ungaidh tu Aaron agus a mhic, agus coiſrigidh tu iad, gu frith-ealadh dhomhs' ann an dreuchd an t-ſagairt.

31 Agus labhraidh tu re cloinn Iſraeil, ag ràdh, Bithidh ſo 'na oladh-ungaidh naomha dhomhſa, air feadh bhur ginealacha.

32 Air feoil duine cha dòirtear i, ni mò a ni ſibh a leithid a réir a meaſgaidh: *a ta* i naomha, agus naomha bithidh i dhuibh.

33 Ge b'e neach a mheaſgas ni coſmhuil ria, agus ge b'e neach a chuireas a' bheag dhith air coigreach, gu deimhin gearrar as e o ſhluagh.

3

[a] *orduichidh tu, builichidh tu.*

[b] *ſeòltachd an luſragain.*

34 Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, Gabh dhuit ſpioſraidh chùbhraidh, ſtacte, agus onicha, agus galbanum; ſpioſraidh chùbhraidh maille ri tùis fhìor-ghloin: do gach aon diubh bithidh an t-aon tomhas.

35 Agus ni thu boltrachan deth, air a dheanamh ſuas a réir ealadhain an léigh, comhmheaſgta, fìor-ghlan, naomha.

36 Agus bruthaidh tu *cuid* deth ro-mhìn, agus cuiridh tu *cuid* deth fa chomhair na fianuis ann am pàilliun a' choimhthionail, far an coinnich miſe thu: ro naomha bithidh e dhuibh.

37 Agus am boltrachan a ni thu, cha dean ſibh *a leithid* duibh féin a réir a mheaſgaidh: bithidh e dhuitſe naomha do'n Tighearna.

38 Ge b'e neach a ni a choſlas, a ghabhail fàile uaith, gearrar as e o ſhluagh.

C A I B. XXXI.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

2 Feuch, ghairm mi air ainm, Beſaleel mac Uri, mhic Hur, do thréibh Iudaih;

3 Agus lìon mi e le ſpiorad Dhé, ann an glioca, agus ann an tuigſe, agus ann an eòlas, agus anns gach uile ghnè oibre,

4 A dhealbhadh[a] oibre ealanta, a dh'oibreachadh ann an òr, agus ann an airgiod, agus ann an ùmha,

5 Agus ann an gearradh chloch a chum *an* ceangal, agus ann an gearradh fiodha, a dh'oibreachadh anns gach uile ghnè oibre.

6 Agus miſe, feuch, thug mi ſeachad maille ris Aholiab mac Ahiſamaich do thréibh Dhan; agus ann an cridhe gach neach a ta glic-chridheach chuir mi glioca, agus ni iad gach ni a dh'àithn mi dhuit:

7 Pàilliun a' choimhthionail, agus àirc na fianuis, agus cathair-na-tròcair a *ta* oirre, agus uile uidheam[b] a' phàilliuin,

8 Agus am bord agus 'uidheam, agus an coinnleir fìor-ghlan le 'uidheam uile, agus altair na tùiſe,

9 Agus altair na h-iobairt-loiſgte le h-uidheam uile, agus an ſoitheach-ionnlaid agus a chas,

10 Agus éididh[c] na ſeirbhis, agus éididh naomha air ſon Aaroin an t-ſagairt, agus éididh a chuid mac, gu frithealadh ann an dreuchd an t-ſagairt,

11 Agus an oladh-ungaidh, agus tùis chùbhraidh air ſon an *ionaid* naomha; a réir nan uile *nithe* dh'àithn mi dhuit, ni iad

12 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

13 Labhair thuſa mar an ceudna ri cloinn Iſraeil, ag ràdh, Gu deimhin coimhididh[d] ſibh mo ſhàbaidean-ſa: oir *is* comhara ſin eadar miſe agus ſibhſe, air feadh bhur ginealacha; chum as gu'm bi fios agaibh gur miſe an Tighearn, a naomhaicheas ſibh.

14 Coimhididh ſibh uime ſin an t-ſàbaid, oir *a ta* i naomha dhuibh. Eſan a thruailleas[e] i, cuirear gu cinnteach gu bàs e: oir gach neach a ni obair oirre, gearrar an t-anum ſin as o mheaſg a ſhluaigh.

15 Sè laithean feudar obair a dheanamh; ach ſan t-ſeachdamh *ta* ſàbaid ſhois, naomha do'n Tighearna: gach neach a ni obair air là na ſàbaid, cuirear gu cinnteach gu bàs e.

16 Uime ſin coimhididh clann Iſraeil an t-ſàbaid, a ghleidheadh na ſàbaid air feadh an ginealacha, *mar* choimhcheangal[f] ſiorruidh.

17 Eadar miſe agus clann Iſraeil *is* comhar' i a chaoidh: oir ann an ſè laithibh rinn an Tighearna na neamhan agus an talamh, agus air an t-ſeachdamh là ſguir e, agus ghabh e ſois.

18 Agus thug e do Mhaois, an uair a ſguir e do labhairt ris air ſliabh Shinai, dà chlàr na fianuis, clàir chloiche, ſgrìobhta le meur Dhé.

C A I B. XXXII.

AGUS an uair a chunnaic an ſluagh gu'n d'rinn Maois moille ann an teachd a nuas as an t-ſliabh, chruinnich iad iad féin gu h-Aaron, agus thubhairt iad ris, Eirich ſuas, dean

[a] *a thùr.* [b] *airneis.* [c] *eudach.* [d] *gleidhidh.* [e] *a mhi-naomhaicheas.*
[f] *chunnradh, chùmhnant.*

dean dhuinne déc a théid romhainn, oir *a thaobh* a' Mhaois so, an duine a thug a nìos ſinn a talamh na h-Eiphit, cha 'n'eil ſhios againn ciod a thàinig air [a].

2 Agus thubhairt Aaron riu, Briſibh [b] dhibh na cluas-fhailean òir a *ta* ann an cluaſaibh bhur ban, bhur mac, agus bhur nigheana, agus thugaibh a m' ionnſuidhs' *iad.*

3 Agus bhris an ſluagh uile dhiubh na cluas-fhailean òir a *bha* 'nan cluaſaibh, agus thug iad gu h-Aaron *iad.*

4 Agus ghabh e *iad* as an làimh; agus chum ſe e le inneal-gearraich [c], 'n déigh dha laogh leaghta dhéanamh dheth, agus thubhairt iad, Sin do dhée, o Iſrael, a thug a nìos thu a talamh na h-Eiphit.

5 Agus an uair a chunnaic Aaron *e,* thog e altair fa 'chomhair, agus thug Aaron gairm, agus thubhairt e, *Is* là féiſd [d] am màireach do'n Tighearna.

6 Agus dh'éirich iad ſuas gu moch air an *là* màireach [e], agus thug iad ſuas tabhartais-loiſgte, agus thug iad leo tabhartais-sìth: agus ſhuidh an ſluagh sìos a dh'itheadh agus a dh'òl, agus dh'éirich iad ſuas gu ſùgradh [f].

7 Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, Imich, falbh sìos; oir thruaill do ſhluagh, a thug thu mach a talamh na h-Eiphit, *iad féin.*

8 Chlaon iad gu grad o'n t-ſlighe a dh'àithn miſe dhoibh: rinn iad dhoibh féin laogh leaghta; agus rinn iad aoradh dha, agus thug iad ſuas iobairtean dha, agus thubhairt iad, Sin do dhée, o Iſrael, a thug a nìos thu a talamh na h-Eiphit.

9 Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, Chunnaic mis' an ſluagh ſo, agus feuch, is ſluagh rag-mhuinealach [g] iad.

10 A nis uime ſin leig leam, agus laſaidh mo chorruich 'nan aghaidh, agus claoidhidh mi iad: agus ni mi dhiotſa cinneach mòr.

11 Agus ghuidh Maois air an Tighearn a Dhia, agus thubairt e, C'ar ſon, a Thighearn, a ta do chorruich a' laſadh an aghaidh do ſhluaigh, a thug thu mach a talamh na h-Eiphit le cumhachd mòr, agus le làimh thréin?

12 C'ar ſon a labhradh na h-Eiphitich, ag ràdh, Le droch rùn thug e mach iad, a chum am marbhadh 's na beanntaibh, agus an claoidh bhàrr aghaidh na talmhainn? Pill o d' fhìor-ruich ghairg, agus gabh aithreachas do'n olc ſo an aghaidh do ſhluaigh.

13 Cuimhnich air Abraham, Iſaac, agus Iſrael do ſheirbhiſich, d'an d'thug thu mionnan ort féin, agus r'an d'thubhairt thu, Ni mi bhur ſliochd lionmhor mar reulta néimh, agus am fearann ſo uile m'an do labhair mi, bheir mi d'ar ſliochd-ſa, agus ſealbhaichidh iad *e* gu sìorruidh.

14 Agus ghabh an Tighearn aithreachas do'n olc a thubhairt e gu'n deanadh e air a ſhluagh.

15 Agus thionndaidh Maois, agus chaidh e sìos as an t-ſliabh, agus dà chlàr na fianuis 'na làimh: *bha* na clàir ſgrìobhta air an dà thaobh; air an taobh ſo, agus air an taobh ud eile *bha* iad ſgrìobhta.

16 Agus b'iad na clàir obair Dhé, agus *b'e* 'n ſgrìobhadh ſgrìobhadh Dhé, gearrta air na clàraibh.

17 Agus chuala Ioſua toirm an t-ſluaigh an uair a rinn iad gàir [h], agus thubhairt e ri Maois, *Tha* toirm chogaidh ſa' champ.

18 Agus thubhairt e, Cha 'n *e* guth *dhaoin'* a' deanamh gàir air ſon na buadha, cha mhò *is e* guth *dhaoine* ag éigheach a chionn gu'n d'thugadh buaidh orra, *ach* toirm luchd gabhail ciuil a ta mi a' cluinntinn.

19 Agus co luath 'ſa thàinig e 'n ſagus do'n champ, chunnaic e 'n laogh, agus an dannſa: agus las corruich Mhaois, agus thilg e na clàiras a làimh, agus bhris e iad aig bun an t-ſléibh.

20 Agus ghabh e 'n laogh a rinn iad, agus loiſg e ſan teine *e,* agus mheil e gu ſmùr [k] *e,* agus chrath e air an uiſge *e,* agus thug e air cloinn Iſrael òl *dheth.*

21 Agus thubhairt Maois ri h-Aaron, Ciod a rinn an ſluagh ſo ort, gu'n d'thug thu peacadh co mòr orra?

22 Agus

a *ciod is cor dha.* b *Briſtibh.* c *inneal-breacaidh, inneal-dualaidh.*
d *féill, cuirm.* e *an la'r na mhàireach.* f *mireadh, cluiche, cleaſachd.*
g *cruaidh mhuinealach.* h *iolach.* k *ſhalar.*

22 A[illegible]s thubhairt Aaron, Na laſ-
[illegible] mo thighearna: is aithne
[illegible] ſluagh, gu'm bheil iad *ſo-*
[illegible] dh'ionnſuidh an uilc.
[illegible] thubhairt iad rium, Dean
[illegible]e, a théid romhainn; oir a
[illegible] Mhaois ſo, an duine a thug
[illegible]n a talamh na h-Eiphit,
[illegible] fhios duinn ciod a thàinig

24 [illegible]s thubhairt mi riu, Gach
[illegible]m bheil a' bheag a dh'òr,
briſeadh e dheth *e*: agus thug iad
dhomh *e*, agus thilg mi ſan teine e,
agus thàinig a mach an laogh ſo.
25 Agus an uair a chunnaic Maois
gu'n *robh* an ſluagh rùiſgte[a], (oir
rùiſg Aaron iad a chum *an* naire am
meaſg an naimhde,)
26 An ſin ſheas Maois ann an
geatadh[b] a' chaimp, agus thubhairt
e, Cò tha leis an Tighearna? *thig-*
eadh e m'ionnſuidhſa. Agus chruinn-
ich mic Lebhi uile d'a ionnſuidh.
27 Agus thubhairt e riu, Mar ſo
tha 'n Tighearna Dia Iſraeil ag ràdh,
Cuireadh gach duine agaibh a chlai-
dheamh air a leis[c], *agus* rachaibh a
ſteach agus a mach o gheata gu geat-
adh air feadh a' chaimp, agus marbh-
adh gach duine agaibh a bhràthair,
agus gach duine a chompanach, agus
gach duine a choimhearſnach.
28 Agus rinn clann Lebhi a réir fo-
cail Mhaois: agus thuit do'n t-ſluagh
ſan là ſin mu thimchioll thri mìle
fear.
29 Oir thubhairt Maois, Coiſrig-
ibh ſibh féin an diugh do'n Tigh-
earna, eadhon gach duine air a mhac,
agus air a bhràthair; a chum as gu'm
builich[d] e oirbh beannachadh air an
là 'n diugh.
30 Agus air an là màireach thu-
bhairt Maois ris an t-ſluagh, Pheac-
aich ſibh peacadh mòr: agus a nis
théid miſe ſuas a dh'ionnſuidh an
Tighearn, a dh'fheuchainn an dean
mi réite air ſon bhur peacaidh.
31 Agus phill Maois a dh'ionn-
ſuidh an Tighearn, agus thubhairt e,
Och! pheacaich an ſluagh ſo peacadh
mòr, agus rinn iad dhoibh féin dée
òir:
32 Gidheadh a nis, ma's toil leat,
math dhoibh am peacadh; ach mur
math, dubh miſe, guidheam ort, a
mach as do leabhar a ſgriobh thu.
33 Agus thubhairt an Tighearna
ri Maois, Ge b'e a pheacaich a'm'
aghaidh, eſan dubhaidh mi mach as
mo leabhar.
34 Uime ſin a nis imich, treòraich[e]
an ſluagh a chum *an ionaid* mu'n do
labhair mi riut; feuch, théid m'ain-
geal romhad: gidheadh, ſan là am
fioſraich mi, leanaidh mi am peacadh
orra.
35 Agus chlaoidh[f] an Tighearn
an ſluagh, a chionn gu'n d'rinn iad an
laogh[g], a rinn Aaron.

CAIB. XXXIII.

AGUS thubhairt an Tighearna ri
Maois, Imich, falbh ſuas as ſo,
thu féin agus an ſluagh a thug thu
mach a talamh na h-Eiphit, a dh'ionn-
ſuidh na tìre a mhionnaich mi do A-
braham, do Iſaac, agus do Iacob, ag
ràdh, Do d' ſhliochdſa bheir mi e:
2 Agus cuiridh mi aingeal romhad;
agus ſuadaichidh mi mach an Canan-
ach, an t-Amorach, agus an t-Hit-
each, agus am Peridſeach, agus an t-
Hibheach, agus an Iebuſach:
3 A dh'ionnſuidh fearainn a ta
ſruthadh le bainne agus mil: oir cha
dtheid mi ſuas a'd' mheaſg[h], oir *is*
ſluagh rag-mhuinealach thu; an t-
eagal gu'n claoidh mi thu ſan t-
ſlighe.
4 Agus an uair a chual' an ſluagh
an droch ſgeul ſo, rinn iad bròn; a-
gus cha do chuir duine ſam bith air a
bhreaghachd[k].
5 Oir thubhairt an Tighearna ri
Maois, Abair ri cloinn Iſraeil, *Is*
ſluagh rag-mhuinealach ſibh: ann am
platha[l] théid mi ſuas 'nar meaſg, a-
gus claoidhidh mi ſibh: a nis uime
ſin cuiribh dhibh bhur breaghachd, a
chum as gu'm bi fios agam ciod a ni
mi ribh.
6 Agus rùiſg clann Iſraeil am
breaghachd

[a] *lomnochd.* [b] *dorus.* [c] *a leth-taobh.* [d] *gu'm bàruig.* [e] *thoir leat.* [f] *bhuail.* Eabh. [g] *air ſon* an aoraidh *a rinn iad* do'n *laogh.* [h] *a'd' mheadhon.* [k] *eudach rìoghach.* [l] *mionaid, tiota, athghaoraid.*

breaghachd dhiubh làimh ri sliabh Horeb.

7 Agus ghabh Maois am pàilliun [a], agus shuidhich e 'n taobh a mach do'n champ e, fad' o'n champ, agus thug e pàilliun a' choimhthionail mar ainm air. Agus na lorg sin, chaidh gach neach a bha 'g iarraidh an Tighearn a mach do phàilliun a' choimhthionail, a *bha* 'n taobh a muigh do'n champ.

8 Agus an uair a chaidh Maois a mach do'n phàilliun, dh'éirich an sluagh gu léir suas, agus sheas gach duine aig dorus a bhùtha, agus dh'amhairc iad an déigh Mhaois gus an deachaidh e stigh do'n phàilliun.

9 Agus an uair a chaidh Maois a stigh do'n phàilliun, thàinig am meall [b] neoil a nuas, agus sheas e aig dorus a' phàilliuin, agus labhair *an Tighearna* ri Maois.

10 Agus chunnaic an sluagh uile am meall neoil na sheasamh aig dorus a' phàilliuin: agus dh'éirich an sluagh uile suas, agus rinn iad aoradh, gach duine ann an dorus a bhùtha.

11 Agus labhair an Tighearna ri Maois aghaidh re h-aghaidh, mar a labhras duine r'a charaid. Agus phill e ris do'n champ; ach cha deachaidh a sheirbhiseach Iosua, mac Nun, duine òg, a mach as a' phàilliun.

12 Agus thubhairt Maois ris an Tighearna, Feuch, *a ta* thu 'g ràdh rium, Thoir suas an sluagh so: agus cha d'thug thu fios domh cò chuireas tu maille rium. Gidheadh thubhairt thu, 'S aithne dhomh thu air t'ainm, agus mar an ceudna fhuair thu deagh-ghean a'm' shùilibh [c].

13 A nis uime sin, guidhean ort, ma fhuair mi deagh-ghean a'd' shùilibh, nochd dhomh do shlighe, a chum as gu'm bi aithne agam ort, agus gu'm faigh mi deagh-ghean a'd' shùilibh, agus meas [d] gur e so a cinneach so do shluagh-sa.

14 Agus thubhairt e, Théid mo làthaireachd [e] *leat*, agus bheir mi fois dhuit.

15 Agus thubhairt e ris, Mur d-théid do làthaireachd *maille ruinn*, na dthoir suas sinn a so:

16 Oir ciod e leis an aithnichear ann an so, gu'n d'fhuair mise agus do shluagh deagh-ghean a'd' shùilibh? Nach ann le d' dhol maille ruinn? Mar so dealaichear sinn, mise agus do shluagh, o gach uile shluagh a *ta* air aghaidh na talmhainn.

17 Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, An ni so mar an ceudna a thubhairt thu, ni mise; oir fhuair thu deagh-ghean a'm' shùilibh, agus is aithne dhomh thu air t'ainm.

18 Agus thubhairt esan, Foillsich dhomh, guidheam ort, do ghlòir.

19 Agus thubhairt e, Bheir mi air mo mhaitheas uile dol seach a'd' làthair [f], agus gairmidh mi ainm an TIGHEARN a'd' fhianuis; agus bithidh mi gràsmhor dha-san d'am bi mi gràsmhor, agus nochdaidh mi tròcair dha-san d'an nochd mi tròcair.

20 Agus thubhairt e, Cha'n fheud thu m'aghaidhs' fhaicinn; oir cha 'n fhaic duine air bith mise, agus e beo [g].

21 Agus thubhairt an Tighearna, Feuch *tha* àite làimh rium, agus seasaidh tusa air carraig [h]:

22 Agus an uair a bhios mo ghlòir a' dol seachad, an sin cuiridh mi thu ann an sgoltadh do'n charraig, agus comhdaichidh mi le m' làimh thu gus an dthéid mi seachad.

23 Agus bheir mi air falbh mo làmh, agus chi thu mo chùlaobh; ach cha'n fhaicear m'aghaidh.

C A I B. XXXIV.

AGUS thubhairt an Tighearna ri Maois, Snaidh dhuit féin dà chlàr chloiche cosmhuil ris na ceud *chlàir*; agus sgrìobhaidh mis' air na clàir *sin* na focail a bha air na ceud chlàir a bhris thu.

2 Agus bi deas [k] sa' mhaduinn, agus thig a nìos sa' mhaduinn do shliabh Shinai, agus nochd thu féin an sin dhomhs' air mullach an t-sléibh.

3 Agus

[a] *bùth.* Eabh. [b] *column, pillar,* Sasg. [c] *taitneachd a'm' shealladh.* [d] *faic.* Eabh. [e] *m'aghaidh.* Eabh. [f] *gabhail seach romhad.* [g] *cha'n urrain duin' air bith mise fhaicsinn, agus a bhi beo.* [h] *air a' chreig* sin. [k] *ullamh.*

3 Agus na dthigeadh duine ſam
bith a nios maille riut, agus na faicear
duine ſan t-ſliabh uile, agus na h-ional-
tradh na treudan no'm buar [a] ſa
chomhair an t-ſléibh ſin.
4 Agus ſhnaidh e dà chlàr chloiche,
cosmhuil ris na ceud *chlàir*; agus
dh'éirich Maois ſuas gu moch ſa'
mhaduinn, agus chaidh e ſuas do
ſhliabh Shinai, mar a dh'àithn an
Tighearna dha, agus thug e leis 'na
làimh an dà chlàr chloiche.
5 Agus thàinig an Tighearna nuas
ann an neul, agus ſheas e maille ris
an ſin; agus ghairm e air ainm an
Tighearna.
6 Agus chaidh an Tighearna
ſeachad [b] ſa 'chomhair, agus ghairm e,
AN TIGHEARNA, AN TIGH-
EARNA DIA, iochdmhor agus
gràſmhor, fad-fhulangach, agus pailt'
ann an caoimhneas [c] agus am fìrinn,
7 A' gleidheadh tròcair do mhìl-
tibh, a' mathadh [d] aingidheachd agus
euſaontais, agus peacaidh, agus nach ſaor
air aon dòigh *an ciontach*; a' leantuinn
aingidheachd nan aithreachan air a'
chloinn, agus air cloinn na cloinne,
air an treas [e] agus air a' cheathramh
ginealach.
8 Agus rinn Maois deifir [f], agus
chrom e cheann ri làr, agus rinn e
aoradh.
9 Agus thubhairt e, Ma ſhuair mi
nis deagh-ghean a'd' ſhùilibh, O Thi-
ghearna, rachadh mo Thighearna,
guidheam ort, 'nar meaſg, (oir *is* ſluagh
rag-mhuinealach iad,) agus math
dhuinn ar n-aingidheachd agus ar
peacadh, agus gabh ſinn mar t'oigh-
reachd féin
10 Agus thubhairt e, Feuch, *ni* miſe
coimhcheangal: ann an làthair do
ſhluaigh uile ni mi nithe iongantach,
nithe nach d'rinneadh an laithid air
an talamh uile, no ann an aon chinn-
each: agus chi an ſluagh uile, am
meaſg *am bheil* thu, obair an Tighear-
na: oir *is* ni uamhaſach a ni miſe riut.
11 Coimhid thuſa an ni a *tha* mi 'g
àithneadh dhuit an diugh: Feuch,
fuadaichidh mi mach [g] romhad an
t-Amorach, agus an Canaanach, agus
an t-Hitech, agus am Peridſeach, a-
gus an t-Hibheach, agus an Iebuſach.
12 Thoir an aire dhuit féin, an
t-eagal gu'n dean thu coimhcheangal
re luchd-àiteachaidh na tìre d'am
bheil thu dol, an t-eagal gum bi e na
ribeadh a'd' mheadhon.
13 Ach ſgroiſaidh ſibh an altairean,
agus briſidh ſibh an dealbhan, agus
gearraidh ſibh ſìos an doireachan [h].
14 Oir cha dean thu aoradh do
dhia ſam bith eile: oir an Tighear-
na, d'an ainm Eudmhor, *is* Dia eud-
mhor e:
15 An t-eagal gu'n dean thu coimh-
cheangal ri luchd-àiteachadh na tìre,
agus gu'n dthéid iad le ſtriopachas
an déigh an diathan, agus gu'n
dthoir iad iobairt d'an déibh, agus
gu'n dthoir *neach* cuireadh dhuit, a-
gus gu'n ith thu d'a iobairt;
16 Agus gu'n gabh thu d'an
nigheanaibh do d' mhic agus gu'n
dthéid an nigheana le ſtriopachas
an déigh an diathan [k], agus gu'n
dthoir iad air do mhic dol le ſtrio-
pachas an déigh an diathanna.
17 Cha dean thu dhuit féin dée
leaghta.
18 *Féiſd* [l] an arain neo-ghoirtichte
cumaidh tu: ſeachd laithean ithidh tu
arán neo-ghoirtichte, mar a dh'àithn
mi dhuit ann an àm a' mhìos Abib [m];
oir anns a' mhìos Abib thàinig thu
mach as an Eiphit.
19 Gach *ni* a dh'fhoſglas a' bhru [n]
is leams' e; agus gach ceud-ghin am
meaſg do ſpréidhe, *m'as ann* do'n
bhuar [o] no do na caoraich e *a bhios
firionn*.
20 Ach ceud-ghin aſail fuaſglaidh
tu le h-uan; agus mur fuaſgail thu *e*,
an ſin briſidh tu amhach [p]. Uile
cheud-ghin do mhac fuaſglaidh tu: a-
gus cha nochdar [q] a h-aon a'm' làthair-
ſa falamh.
21 Sè laithean ni thu obair, ach air
an

[a] *na caoraich no 'n crodh.* [b] *ſeach.* [c] *tròcair.* [d] *a' maitheamh; a' toirt air falbh aingidheachd.* Eabh. [e] *gu nuig an treas* [f] *cabhag.* [g] *tilgidh mi mach.* [h] *badan-coille.* [k] *dée.* [l] *féill, fleadh, cuirm.* [m] *mìos a' cheud thoraidh.* [n] *a' mhachlag.* [o] *chrodh.* [p] *mhuineal.* [q] *taiſbeanar.*

an t-ſeachdamh là gabhaidh tu fois:
ann an àm an treabhaidh agus anns an
fhoghar gabhaidh tu fois.
22 Agus cumaidh tu féiſd 'nan
ſeachduine, a' cheud toraidh do fho-
ghar a' chruithneachd, agus féiſd a'
chròdhaidh [a] ann an deireadh na
bliadhna.
23 Tri uaire ſa' bhliadhna nochdar
do mhic uile an làthair an Tighearna
Iehobhah, Dé Iſraeil:
24 Oir tilgidh mi mach na cinnich
romhad, agus ni mi do chriocha ni's
farſuinge; agus cha mhiannaich duine
ſam bith t'fhearann, an uair a théid
thu ſuas g'ad nochdadh féin am fia-
nuis an Tighearna do Dhé, tri uaire
ſa' bhliadhna.
25 Cha 'n ìobair thu fuil m'ìobairt-
ſa le taois ghort, cha mhò a dh'fhàgar
gu maduinn ìobairt féiſd na càiſge.
26 Toiſeach ceud thoraidh t'fhear-
ainn bheir thu do thigh an Tighearna
do Dhé. Cha bhruich thu meann
am bainne a mhàthar.
27 Agus thubhairt an Tighearna
ri Maois, Sgrìobh thuſa na focail ſo:
oir a réir brìgh nam focal ſo rinn'miſe
coimhcheangal riut féin, agus ri h-Iſ-
rael.
28 Agus bha e 'n ſin maille ris an
Tighearna dà fhichead là agus dà
fhichead oidhche: cha d'ith e aran,
ni mò dh'òl e uiſge: agus ſgrìobh e
air na clàir focail a' choimhcheangail,
na deich àitheanta.
29 Agus an uair a thàinig Maois a
nuas o ſhliabh Shinai, (le dà chlàr na
fianuis ann an làimh Mhaois, an uair
a thàinig e 'nuas o'n t-ſliabh) cha
robh fios aig Maois gu'n do dhealraich
croicionn 'aghaidh, am feadh 'ſa bha e
còmhradh ris.
30 Agus dh'amhairc Aaron agus
clann Iſraeil uile air Maois; agus
feuch, dhealraich croicionn 'aghaidh,
agus bha eagal orra teachd [b] am fagus
da.
31 Agus ghairm Maois orra, agus
phill Aaron agus uachdarain a' choimh-
thionail uile d'a ionnſuidh: agus rinn
Maois comhradh riu.
32 Agus na dhéigh ſin thàinig
clann Iſraeil uile am fagus dà: agus
dh'àithn e dhoibh na h-uile nithe a
labhair an Tighearna ris ann an ſliabh
Shinai.
33 Agus ſguir Maois a [illegible]
riu; agus chuir e gnùis-bhrat air
'aghaidh.
34 Ach an uair a chaidh Maois a
ſteach an làthair an Tighearna a
labhairt ris, thug e 'n gnùis-bhrat
deth, gus an d'thàinig e [illegible]
thàinig e mach, agus [illegible]
cloinn Iſraeil *an ni ſin* a dh'àithneadh
dha.
35 Agus chunnaic clann Iſraeil
aghaidh Mhaois, gu'n do dhealraich
croicionn aghaidh Mhaois: agus chuir
Maois an gnùis-bhrat air 'aghaidh a
rìs gus an deachaidh e ſtigh a labhairt
ris.

C A I B. XXXV.

AGUS chruinnich Maois coimh-
thional chloinn Iſraeil uile r'a
chéile, agus thubhairt e riu, Sin na
nithe [c] a dh'àithn an Tighearna, gu'n
deanadh ſibh iad.
2 Sè laithean nithear obair, ach
bithidh an ſeachdamh là dhuibh na
là naomha, na ſhàbaid thàimh do'n
Tighearna: ge b'e neach a ni obair
air, cuirear gu bàs e.
3 Cha'n fhadadh ſibh teine ſam
bith air feadh bhur n-àiteacha-còmh-
nuidh air là na sàbaid.
4 Agus labhair Maois ri coimh-
thional chloinn Iſraeil uile, ag ràdh,
So an ni a dh'àithn an Tighearn, ag
radh,
5 Togaibh 'nar meaſg tabhartas
do'n Tighearna: gach neach *aig am
bheil* cridhe toileach, thugadh e leis e,
tabhartas do'n Tighearna; òr, agus
airgiod, agus ùmha,
6 Agus gorm, agus corcur, agus
ſcarlaid, agus anart grinn, agus *fionna*
ghabhar,
7 Agus croicne reitheachan air an
dath' dearg, agus croicne bhroc, agus
fiodh ſitim,
8 Agus oladh air ſon ſoluis, agus
ſpìoſraidh air ſon oladh-ungaidh, agus
air ſon tùis chùbhraidh,

9 Agus

[a] *féiſd a' chruinneachaidh, cuirm an deire-tharruing.* [b] *còmhdach; veil,* Saſg. [c] *briathra.*

[illegible] lachan onics, agus clachan
[illegible] ceangal, air ſon na h-e-
[illegible] ſon na h-uchd-éididh.
[illegible] eadh gach duine glic-
[illegible] meaſg, agus deanadh
[illegible] ithn an Tighearna;
[illegible] uun, a bhùth, agus a
[illegible] chromagan, agus a
[illegible] nn, a phoſtan, agus a
[illegible]
[illegible] agus a bataichean,
[illegible] ir agus roinn-bhrat a'
[illegible]
[illegible] l agus a bhataichean,
[illegible] hean uile, agus an t-aran
taiſbeanta [a];
14 Agus an coinnleir a chum an
t-ſoluis, agus 'uidheam, agus a lòchrain,
maille ri ola chum an t-ſoluis;
15 Agus altair na tùiſe, agus a
bataichean, agus an oladh-ungaidh, a-
gus an tùis chùbhraidh, agus an cuir-
tein air ſon doruis a' phàilliuin [b];
16 Altair na h-iobairt-loiſgte agus
a cliath ùmha [c], a bataichean, agus a
ſoithichean uile, an ſoitheach-ionnlaid
agus a chas;
17 Cùirteinean na cùirte, a puiſt
agus a buinn, agus cùirtein air ſon
doruis na cùirte;
18 Pinneachan [d] a' phàilliuin; a-
gus pinneachan na cùirte, agus an
cuird;
19 Eididh an fhrithealaidh, a fhrith-
ealadh ſan *ionad* naomha; an éididh
naomha air ſon Aaroin an t-ſagairt,
agus éididh air ſon a chuid mac, a
fhrithealadh ann an dreuchd an t-
ſagairt.
20 Agus dh'fhalbh coimhthionail
chloinn Iſraeil uile a làthair Mhaois.
21 Agus thàinig iad, gach aon
duine a dhùiſg a chridhe ſuas, agus
gach duine a rinn a chridhe toileach,
agus thug iad leo tabhartas an Tigh-
earna air ſon oibre pailliuin a' choimh-
thionail, agus air ſon a ſheirbhis uile,
agus air ſon na h-éididh naomha.
22 Agus thàinig iad, araon [e] fir a-
gus mnài, a' mheud's aig an robh
cridhe toileach, *agus* thug iad leo
bràiſtean [f] agus cluas-fhailean, agus
fàinneachan, agus crioſa-muineil [g],
gach uidheam òir [h]: agus gach fear a
thug ſeachad, *thug e ſeachad* tabhartas
òir do'n Tighearna.
23 Agus gach fear aig an d'fhuar-
adh gorm, agus corcur, agus ſcarlaid,
agus anart grinn, agus *fionna* ghabhar,
agus croicne dhearg reitheachan, agus
croicne bhroc, thug iad *leo iad*.
24 Gach duine a thug ſeachad
tabhartas airgid agus umha, thug e
leis tabhartas an Tighearna: agus
gach duine aig an d'fhuaradh fiodh
ſitim chum oibre ſam bith do'n t-ſeir-
bhis, thug e leis *e*.
25 Agus ſhnìomh na mnài uile a
bha glic-chridheach le'n làmhan, agus
thug iad leo an ni a ſhnìomh iad, an
gorm, agus an corcur, an ſcarlaid, a-
gus an t-anart grinn.
26 Agus na mnài uile a dhùiſg an
cridhe ſuas ann an gliocas, ſhnìomh
iad *fionna* ghabhar.
27 Agus thug na h-uachdarain leo
clachan onics, agus clacha chum an
ceangal, air ſon na h-ephoid, agus air
ſon na h-uchd-éididh;
28 Agus ſpìoſraidh, agus oladh air
ſon an t-ſoluis, agus air ſon na h-ol-
adh-ungaidh, agus air ſon na tùis
chùbhraidh.
29 Thug clann Iſraeil tabhartas
toileach a dh'ionnſuidh an Tighearna,
gach fear agus bean a rinn an cridhe
toileach a thoirt a chum gach gnè
oibre, a dh'àithn an Tighearna dhean-
amh le làimh Mhaois.
30 Agus thubhairt Maois ri cloinn
Iſraeil, Faicibh, ghairm an Tighearn
air ainm Beſaleel mac Uri, mhic Hur,
do thréibh Iudaih;
31 Agus lìon ſe e le ſpiorad Dhé,
ann an gliocas, ann an tuigſe, ann an
eòlas, agus anns gach gnè oibre;
32 Agus a dhealbhadh [k] oibre
ealanta, a dh'oibreachadh ann an òr,
agus ann an airgiod, agus ann an
umha,
33 Agus ann an gearradh chlach
chum *an* ceangal, agus ann an ſna dh-
eadh

[a] *aran na fianuis.* [b] *brat an doruis air ſon doruis a' phàilliuin.* Eabh.
[c] *criathar praiſe.* [d] *toirngean, ſeamannan.* [e] *an dà chuid.* [f] *deolgan.*
[g] *paidirein.* [h] *ſeudan òir gu léir.* [k] *a chumadh.*

eadh fiodha, a dheanamh gnè ſam
bith a dh'obair ealanta.
34 Agus chuir e na chridhe gu'n
teagaiſgeadh é, e féin, agus Aholiab,
mac Ahiſamaich do thréibh Dhan.
35 Lion e iadſan le gliocas cridhe,
a dh'oibreachadh gach gnè oibre, *oibre*
a' ghearradair, agus an oibriche ea-
lanta, agus an oibriche le ſnàthaid ann
an gorm, agus ann an corcur, ann an
ſcarlaid, agus ann an anart grinn, agus
an fhigheadair, a ni obair ſam bith,
agus a dhealbhas obair ealanta.

C A I B. XXXVI.

AGUS dh'oibrich Beſaleel agus
Aholiab, agus gach duine glic-
chridheach d'an d'thug an Tighearna
gliocas agus tùr [a], a thuigſinn cionnus
a dheanadh iad gach gnè oibre air ſon
ſeirbhis an *ionaid* naomha, réir gach
ni a dh'àithn an Tighearna.
2 Agus ghairm Maois air Beſaleel,
agus air Aholiab, agus air gach duine
glic-chridheach, d'an d'thug an Tigh-
earna gliocas na chridhe, *eadhon* gach
aon a dhùiſg a chridhe ſuas gu teachd
a chum na h-oibre g'a deanamh.
3 Agus ghabh iad o Mhaois na
tabhartaſan uile a thug clann Iſraeil
leo chum oibre ſeirbhis an *ionaid*
naomha, g'a deanamh. Agus thug
iad fathaſt d'a ionnſuidh ſaor thabh-
artaſan gach aon mhaduinn.
4 Agus thàinig na daoine glic uile,
a rinn uil' obair an *ionaid* naomha,
gach duine ac' o obair féin a *bha* iad
a' deanamh;
5 Agus labhair iad ri Maois, ag
ràdh, Tha 'n ſluagh a' toirt leo tuille
mòr na ni's leòr, a chum ſeirbhis na
h-oibre dh'àithn an Tighearn a dhean-
amh.
6 Agus dh'àithn Maois, agus thug-
adh gairm air feadh a' chaimp, ag
ràdh, Na deanadh fear no bean ſam
bith tuilleadh oibre air ſon tabhartais
an *ionaid* naomha. Mar ſin thoir-
miſgeadh [b] do'n t-ſluagh *ni ſam bith a*
thoirt leo.
7 Oir bu leòr an t-uidheam [c] a bh'aca
air ſon na h-oibre uile, g'a deanamh,
agus bu tuille 's ni bu leòr [e].
8 Agus rinn gach duine glic-
chridheach nam meaſg-ſan a dh'oi-
brich obair a *phàilliuin* [d], deich cùir-
teine *do* anart grinn toinnte, agus *do*
ghorm, agus *do* chorcur, agus *do* ſcar-
laid; *le* cerubaibh a dh'obair ealanta
rinn e iad;
9 Fad aon chùirtein ochd làmha-
coille thar fhichead, agus leud aon
chùirtein ceithir làmha-coille: na cùir-
teinean uile dh'aon tomhas.
10 Agus cheangail e cùig cùirteine
gach aon r'a chéile: agus na cùig
cùirteinean *eile* cheangail e gach aon
r'a chéile.
11 Agus rinn e lùban do ghorm
air foir aon chùirtein, o'n iomall ſa'
choimhcheangal: air a'mhodh cheudna
rinn e ann am foir a' chùirtein *eile* 's
faide mach, ann an coimhcheangal an
dara *h-aon*.
12 Leth-cheud lùb rinn e ann an
aon chùirtein, agus leth-cheud lùb
rinn e ann an iomall a' chùirtein a
bha ann an coimhcheangal an dara *h-*
aon: cheangail na lùban aon *chùirtein*
ri *cùirtein* eile [e].
13 Agus rinn a leth-cheud cromag
òir, agus choimhcheangail e na cùir-
teinean aon re h-aon leis na cromag-
aibh. Mar ſin rinneadh e na aon
phàilliun.
14 Agus rinn e cùirteine do *fhion-*
na ghabhar, air ſon a' bhùtha os
cionn a' phàilliuin [f]: aon chùirtein
deug rinn e dhiubh:
15 *B'e* fad aon chùirtein deich
làmha-coille thar fhichead, agus cei-
thir làmha coille leud aon chùirtein:
bha'n t-aon chùirtein deug a dh'aon
tomhas.
16 Agus choimhcheangail e cùig
cùirteine leo féin, agus ſè cùirteine
leo féin.
17 Agus rinn e leth-cheud lùb air
an fhoir a b'fhaide mach do'n chùir-
tein ſa' choimhcheangal, agus leth-
cheud lùb rinn e air foir a' chùirtein
a tha coimhcheangal an dara *h-aon*.
18 Agus

[a] *tuigſe.* [b] *bhacadh.* [c] *ſtubh; obair.* Eabh. [d] *a' phubuill.*
[e] bha *na lùban ſa chomhair a' chéile.* Eabh. [f] *gu bi 'nan comhdach air a' phàilliun.*

18 Agus rinn e leth-cheud cromag d'umha, a cheangal a' bhùtha r'a chéile, chum as gu'm biodh e na aon.

19 Agus rinn e còmhdach do'n bhùth, *do* chroicnibh reitheachan air an dath dearg, agus còmhdach *do* chroicnibh bhroc os *a* cheann.

20 Agus rinn e buird do'n phàilliun *de* fhiodh ſitim, nàn ſeaſamh:

21 Deich *làmha*-coille ſad buird, agus làmh-choille gu leth leud aon bhuird.

22 *Bha* dà làimh[a] aig aon bhord, air an cur an ordugh aon ſa chomhair a h-aon[b]: mar ſo rinn e ri bùird a' phàilliuin uile.

23 Agus rinn e buird do'n phàilliun: fichead bord air ſon an taoibh dheas, ris an airde deas.

24 Agus dà fhichead cas[c] airgid rinn e fuidh 'n fhichead bord: dà chois fuidh aon bhord a réir[d] a dhà làimh, agus dà chois fuidh bhord eile a réir a dhà làimh.

25 Agus air ſon taoibh eile a' phàilliuin *a ta* ris an airde tuath, rinn e fichead bord,

26 Agus an dà fhichead cas a dh'-airgiod: dà chois fuidh aon bhord, agus dà chois fuidh bhord eile.

27 Agus air ſon thaobh a' phàilliuin ris an aird an iar, rinn e sè buird.

28 Agus rinn e dà bhord air ſon oiſinnean a' phàilliuin ſan dà thaobh.

29 Agus bha iad air an ceangal ri chéile fuidhe, agus mar an ceudna bha iad air an coimhcheangal aig a cheann ri h-aon fhailbheig: mar ſo rinn e riu le chéile ſan dà oiſinn.

30 Agus bha ochd buird ann, agus an caſan a dh'airgiod, *eadhon* sè caſa deug; dà chois fuidh gach bord.

31 Agus rinn e croinn do fhiodh ſitim, cùig air ſon bhord aon taoibh do'n phàilliun.

32 Agus cùig croinn air ſon bhord an taoibh eile do'n phàilliun, agus cùig croinn air ſon bhord a' phàilliuin a chum nan taobh *a ta* ris an aird an iar.

33 Agus thug e air a' chrann mheadhonach dol troimh[e] na[f] buird o cheann gu ceann.

34 Agus chòmhdaich e thairis na buird le h-òr, agus rinn e'm failbheagan *a dh'*òr *gu bhi* nan àitibh do na croinn, agus chòmhdaich e thairis na croinn le h'-òr.

35 Agus rinn e roinn-bhrat *do* ghorm, agus *do* chorcur, agus *do* ſcarlaid, agus *do* anart grinn toinnte: a dh'obair ealanta rinn ſe e, *le* cerubaibh.

36 Agus rinn e dha ceithir puiſt *do fhiodh* ſitim, agus chòmhdaich e thairis iad le h-òr: *bha* 'n cromagan *a dh'*òr, agus thilg[f] e dhoibh ceithir buinn airgid.

37 Agus rinn e air ſon doruis a' bhùtha[g], brat[h] *do* ghorm, agus *do* chorcur, agus *do* ſcarlaid, agus *do* anart grinn toinnte, *dh'*obair ſnàthaide:

38 Agus a chùig poſtan le 'n cromagaibh: agus chòmhdaich e thairis an cinn, agus an cuairteagan le h-òr: ach *bha* 'n cùig buinn a dh'umha.

C A I B. XXXVII.

AGUS rinn Beſaleel an àirc *do* fhiodh ſitim; dà làimh-choille gu leth a fad, agus làmh-choille gu leth a leud, agus làmh-choille gu leth a h-airde:

2 Agus chòmhdaich e thairis i le h-òr fìor-ghlan a ſtigh agus a muigh; agus rinn e coron òir dh'i m'an cuairt.

3 Agus thilg e dh'i ceithir failbheagan òir, *gu bhi* air a ceithir oiſinnibh; eadhon dà fhailbheig air aon taobh dh'i, agus dà fhailbheig air an taobh eile dh'i.

4 Agus rinn e bataichean *do* fhiodh ſitim, agus chòmhdaich e thairis iad le h-òr.

5 Agus chuir e na bataichean ſna failbheagaibh air taobhan na h-àirce, chum an àirc a ghiùlan.

6 Agus

[a] *tarſannain: tenons.* Saſg. [b] *gach aon co fhad o chéile.* [c] *cos, pulag.* [d] *air ſon.* [e] *roimh; tre, trid.* Eir. [f] *rinn.* [g] *a' phàilliuin, a' phubuill.* [h] *còmhdach, cùirtein.*

6 Agus rinn e cathair-na-tròcair
a dh'òr fior-ghlan, dà làimh-choille
gu leth a fad, agus làmh-choille gu
leth a leud.
7 Agus rinn e dà cherub a dh'òr,
buailte mach a h-aon mhìr rinn e iad,
aig dà cheann cathair-na-tròcair;
8 Aon cherub aig a' cheann air an
taobh ſo, agus cerub eile aig a' cheann
air an taobh ud: a mach a cathair-
na-tròcair rinn e na ceruban aig a dà
cheann.
9 Agus bha na ceruban a' ſgaoil-
eadh an ſgiathan gu h-ard, a' còmh-
dachadh le 'n ſgiathaibh os cionn ca-
thair-na-tròcair, agus an aghaidhean [a]
r'a chéile; re cathair-na-tròcair bha
aghaidhean nan cerub.
10 Agus rinn e 'm bord do fhiodh
ſitim: dà làimh-choille 'fhad, agus
làmh-choille a leud, agus làmh-choille
gu leth airde.
11 Agus chòmhdaich e thairis e le
h-òr fìor-ghlan, agus rinn e dha co-
ron òir m'an cuairt.
12 Mar an ceudna rinn e dha io-
mall do leud boiſe m'an cuairt: a-
gus rinn e coron òir d'a iomall m'an
cuairt.
13 Agus thilg e dha ceithir fail-
bheagan òir, agus chuir e na failbh-
eagan air na ceithir oiſinnibh a bha aig
a cheithir chaſaibh.
14 Thall fa chòmhair an iomaill
bha na failbheagan, na h-àiteachan
do na bataichibh, gus am bord a
ghiùlan.
15 Agus rinn e na bataichean do
fhiodh ſitim, agus chòmhdaich e thai-
ris iad le h-òr, gus am bord a ghiù-
lan.
16 Agus rinn e na ſoithichean a
bha air a' bhord, a mhiaſan, agus a
thùiſeirean, agus a chopain, agus a
chuachan leis an dthoirear ſeachad
tabhartas-dibhe, a dh'òr fior-ghlan.
17 Agus rinn e 'n coinnleir a dh'or
fior-ghlan; a dh'obair bhuailte rinn e
'n coinnleir: bha chas, agus a mheur[b],
a chopain, a chnapan, agus a bhlàth-
an do'n ni cheudna.
18 Agus sè meoir a' dol a mach as
a thaobhan: tri meoir a' choinnleir a
h-aon taobh dheth, agus tri meoir a'
choinnleir as an taobh eile dheth.
19 Tri copain air an dearnaidh,
coſmhuil ri almonaibh ann an aon
mheur, maille ri cnap agus blàth: a-
gus tri copain air an dearnaidh coſ-
mhuil ri almonaibh ann am meur eile,
maille ri cnap agus blàth: agus mar ſin
anns na sè meoir a' dol a mach as a'
choinnleir.
20 Agus anns a' choinnleir bha
ceithir copain air an dearnaidh coſ-
mhuil ri almonaibh, maille r'a cnaip
agus a bhlàthan.
21 Agus cnap fuidh dhà mheur
dheth, agus cnap fuidh dhà mheur
dheth, agus cnap fuidh dhà mheur
dheth, a réir nan sè meur a' dol a
mach as.
22 Bha 'n cnaip agus am meoir
do'n ni cheudna: b'aon obair bhuailte
a dh'òr fior-ghlan an t-iomlan deth.
23 Agus rinn e a ſheachd lòchrain,
agus a ſmàladairean[c], agus a ſmàl-
ſhoithichean, a dh'òr fior-ghlan.
24 Do thàlann òir fhìor ghloin
rinn ſe e, agus a ſhoithichean uile.
25 Agus rinn e altair na tùiſe do
fhiodh ſitim: làmh-choille a fad,
agus làmh-choille a leud, (bha i cei-
thir-chearnach,) agus dà làimh-choille
a h-airde; bha a h-adhaircean do'n ni
cheudna.
26 Agus chòmhdaich e thairis i le
h-òr fior-ghlan, a mullach, agus a
taobhan m'an cuairt, agus a h-
adhaircean; agus rinn e coron òir
dh'i m'an cuairt.
27 Agus rinn e dà fhailbheig òir
dh'i fuidh a coron, aig[d] a dà oiſinn,
air a dà thaobh, gu bhi nan aitibh do
na bataichibh chum a giùlan leo.
28 Agus rinn e na bataichean do
fhiodh ſitim, agus chòmhdaich e thai-
ris iad le h-òr.
29 Agus rinn e an oladh-ungaidh
naomha, agus an tùis fhìor ghlan do
ſpìoſraidh chùbhraidh, a réir oibre an
léigh[e].

C A I B. XXXVIII.

AGUS rinn e altair na h-io-
bairt-loiſgte do fhiodh ſitim:
cùig

[a] aghaidhean. [b] mheanglan. [c] a chlobhachan. [d] ag. [e] an ellaidh, an luſragain.

LIBRARY OF THE

[illegible] làmha-coille a fad, agus cùig [illegible]-coille a leud, (bha i ceithir-[illegible]) agus tri làmha-coille a h-[illegible].

[illegible] rinn e a h-adhaircean air a [illegible]ibh: bha a h-adhaircean [illegible]na; agus chòmhdaich e [illegible] h-umha.

3 [illegible] rinn e uile ſhoithichean na [illegible] na h-aighcannan[a], agus [illegible], agus na cuachan, agus [illegible]n, agus na h-aigheannan-[illegible] ſoithichean uile rinn e a dh'-umha.

4 Agus rinn e do'n altair cliath *do* lìon-obair umha, f'a cuairt gu h-ìoſal, gu nuig a meadhon.

5 Agus thilg e ceithir failbheagan do cheithir oiſinnibh[b] na cléith umha, *gu bhi* nan àitibh do na bataichibh.

6 Agus rinn e na bataichean *do* fhiodh ſitim, agus chòmhdaich e thairis iad le h-umha.

7 Agus chuir e na bataichean ſna failbheagaibh air taobhan na h-altarach, chum a giùlan leo: fàs le bòrdaibh rinn e i.

8 Agus rinn e an ſoitheach-ionnlaid *a dh*'umha, agus a chas a dh'-umha, do ſgàthanaibh *nam ban*, a chruinnich 'nam buidhnibh aig dorus pàilliuin a' choimhthionail[c].

9 Agus rinn e chùirt air an taobh mu dheas, ris an airde deas: *bha* cùirteinean na cùirte *do* anart grinn toinnte, ceud làmh-choille *air fad;*

10 Am puiſt fichead, agus am buinn umha fichead; *bha* cromagan nam poſt agus an cuairteagan *a dh*'airgiod.

11 Agus air an taobh mu thuath, *bha na cùirteine* do cheud làmh-choille; am puiſt fichead, agus am buinn umha fichead: cromagan nam poſt, agus an cuairteagan[d] *a dh*'airgiod.

12 Agus air an taobh an iar *bha* cùirteine do leth-cheud làmh-choille; am puiſt deich, agus am buinn deich: cromagan nam poſt agus an cuairteagan *a dh*'airgiod.

13 Agus air an taobh an ear ris an aird an ear, leth cheud làmh-choille.

14 *Bha* cùirteinean aon taoibh *do'n* *gheata* cùig làmha-coille deug; am puiſt tri, agus am buinn tri.

15 Agus air ſon an taoibh eile *do'n* gheata na cùirte, air an làimh ſo agus air an làimh ud, *bha* cùirteine do chùig làmha-coille deug; am puiſt tri, agus am buinn tri.

16 *Bha* cùirteinean na cùirte uile m'an cuairt *a dh*'anart grinn toinnte.

17 Agus *bha* buinn nam poſt *a dh*'-umha; cromagan nam poſt, agus an cuairteagan *a dh*'airgiod, agus còmhdach an ceann *a dh*'airgiod; agus *bha* uile phuiſt na cùirte air an ceangal m'an cuairt[e] le h-airgiod.

18 Agus *bha* 'm brat air ſon geataidh na cùirte na obair ſhnàthaid *do* ghorm, agus *do* chorcur, agus *do* ſcarlaid, agus *do* anart grinn toinnte: agus *b'e* fichead làmh-choille 'fhad, agus *b'e* 'airde ſan leud cùig làmhacoille, a' coimh fhreagairt do chùirteinibh na cùirte:

19 Agus am puiſt ceithir, agus am buinn umha ceithir, an cromagan *a dh*'airgiod, agus còmhdach an ceann, agus an cuairteagan *a dh*'airgiod.

20 Agus *bha* uile phinneachan a' phàilliuin, agus na cùirte m'an cuairt, a dh'umha.

21 *Is* e ſin àireamh *nithe* a' phàilliuin, pàilliuin na fianuis, mar a dh' àirmheadh iad, a réir àithne Mhaois, *air ſon* ſeirbhis nan Lebheach, le làimh Itamair, mhic Aaroin an t-ſagairt.

22 Agus rinn Beſaleel mac Uri, mhic Shur, do thréibh Iudaih, gach *ni* a dh'àithn an Tighearna do Mhaois;

23 Agus maille ris Aholiab, mac Ahiſamaich, do thréibh Dhan, gearradair, agus oibriche ealanta, agus fear oibre gréis[f], ann an gorm, agus ann an corcur, agus ann an ſcarlaid, agus ann an anart grinn.

24 B'e 'n t-òr uile a chuireadh am feum[g] ſan obair, ann an uil' obair an *ionaid* naomha, eadhon òr an tabhartais, naoi tàlanna fichead, agus ſeachd

[a] *coireachan, poitean.* [b] *chinn.* [c] *a bha cruinneachadh, a chruinnich aig dorus bùtha a' choimhthionail.* Eabh. [d] *ſlioman.* [e] *cuairtichte, ſlinnaichte.* [f] *gréiſear; embroiderer.* Saſg. [g] *a chaitheadh.*

ſeachd ceud agus deich ſecel 'ar fhichead, a réir ſeceil an *ionaid* naomha.

25 Agus *b'e* airgiod na muinntir a dh'àirmheadh do'n choimhthional, ceud tàlann, agus mìle agus ſeachd ceud agus cùig ſecel deug agus tri fichead, a réir ſeceil an *ionaid* naomha :

26 Becah air ſon gach fir, *'s e ſin* leth ſeceil, a réir ſeceil an *ionaid* naomha, air ſon gach aon a chaidh gu bhi air an àireamh, o fhichead bliadhn' a dh'aois agus os a cheann, air ſon ſhè ceud mìle agus thri mìle agus chùig ceud agus leth-cheud *fear*

27 Agus do'n cheud tàlann airgid thilgeadh buinn an *ionaid* naomha, agus buinn an roinn-bhrait ; ceud bonn do'n cheud tàlann, tàlann do gach bonn.

28 Agus do'n mhìle agus ſheachd ceud agus a' chùig *ſecel* deug agus tri fichead, rinn e cromagan do na puiſt, agus chòmhdaich e 'n cinn, agus chuir e cuairteagan m'an timchioll [a].

29 Agus *b'e* umha an tabhartais deich agus tri fichead tàlann, agus dà mhìle agus ceithir cheud ſecel.

30 Agus rinn e le ſin na buinn do dhorus pàilliuin a' choimhthionail, agus an altair umha, agus a' chliath umha aice, agus ſoithichean na haltarach uile,

31 Agus buinn na cùirte m'an cuairt, agus buinn geataidh na cùirte, agus uile phinneachan a' phàilliuin, agus uile phinneacha 'na cùirte m'an cuairt.

C A I B. XXXIX.

AGUS do'n ghorm, agus *do'n* chorcur, agus *do'n* ſcarlaid, rinn iad éididh [b] frithealaidh, gu frithealadh ſan *ionad* naomha, agus rinn iad éididh naomha do Aaron: mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

2 Agus rinn e 'n ephod *do* or, *do* ghorm, agus *do* chorcur, agus *do* ſcarlaid, agus *do* anart grinn toinnte.

3 Agus bhuail iad a mach an t-òr na leachdaibh [c] tana, agus ghearr iad *e na* ſnàinnibh [d], a chum oibreachadh am meaſg a' ghuirm, agus am meaſg a' chorcuir, agus am meaſg na ſcarlaid, agus am meaſg an anairt ghrinn le h-obair ealanta.

4 Rinn iad mìrean-guailne dh'i, ceangailte ri chéile [e] air a dà ſhoir; *mar ſin* chuireadh ri chéile i.

5 Agus *bha* crios riomhach na hephoid a *bha* air a h-uachdar, do'n *ni* cheudna, a réir a h-oibre féin ; *eadhon do* òr, *do* ghorm, agus *do* chorcur, agus *do* ſcarlaid, agus *do* anart grinn toinnte; mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

6 Agus dh'oibrich iad clachan onics ceangailte ann am failibh òir, air an gearradh le gearradh ſeulaidh, le ainmibh chloinn Iſraeil *orra*.

7 Agus chuir e iad air guailnibh na h-ephoid, *gu bhi nan* clacha cuimhneachain do chloinn Iſraeil; mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

8 Agus rinn e 'n uchd-éididh le h-obair ealanta, a réir oibre [f] na hephoid, *do* òr, *do* ghorm, agus *do* chorcur, agus *do* ſcarlaid, agus *do* anart grinn toinnte.

9 Bha i ceithir-chearnach ; rinn iad an uchd-éididh dà-fhillte : réis a fad, agus réis a leud ; *bha i* dà-fhillte.

10 Agus chuir iad innte ceithir ſreathan chlach : *a' cheud* ſreath, ſardius, topas, agus carbuncul : *ſo* a' cheud ſreath.

11 Agus an dara ſreath, emerald, ſaphir, agus daoimein.

12 Agus an treas ſreath, ligur, agat, agus ametiſt.

13 Agus an ceathramh ſreath, beril, onics, agus iaſper : *bha iad* air an ceangal ann am failibh òir 'nan ſuidheachadh [g].

14 Agus *bha* na clachan a réir ainmeanna chloinn Iſraeil, a dhà-dheug a réir an ainmeanna, le gearradh ſeulaidh, gach aon aca le h-ainm féin, a réir an dà threibh dheug.

15 Agus rinn iad air an uchd-éididh ſlabhruidhean aig na cinn, *a dh'*obair ſhniomhta *do* òr fior-ghlan.

16 Agus rinn iad dà ſhail òir, agus dà fhàinne òir ; agus chuir iad an dà fhàinne air dà cheann na h-uchd-éididh.

17 Agus chuir iad an dà *ſhlabhruidh* ſhnìomhta

[a] *ſnìmich e iad.* [b] *truſcan, aodaichean.* [c] *lannaibh.* [d] *theudaibh.*
[e] *g'a ceangal ri chéile.* [f] *coſmhuil ri obair.* [g] *dùnadh, cur.*

ſhnìomhta ſan dà fhàinne air cinn na h-uchd-éididh.

18 Agus dhaingnich iad dà cheann na dà *ſhlabhruidh* ſhnìomhta ſan dà fhail, agus chuir ſiad iad air mìribh-guailne na h-ephoid air a beulaobh.

19 Agus rinn iad dà fhàinne òir, agus chuir ſiad iad air dà cheann na h-uchd-éididh, air an iomall dith, a *bha* air taobh na h-ephoid a ſtigh.

20 Agus rinn iad dà fhàinne òir *eile*, agus chuir ſiad iad air dà thaobh na h-ephoid gu h-ìoſal, leth ris a' chuid bheoil dith, fa chomhair a coimhcheangail *eile*, os ceann crios rìomhach na h-ephoid.

21 Agus cheangail iad an uchd-éididh leis a fàinnibh ri fàinnibh na h-ephoid le h-éill ghuirm, a chum gu'm bitheadh i os ceann crios rìomhach na h-ephoid, agus nach biodh an uchd-éididh air a fuaſgladh o'n ephoid, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

22 Agus rinn e falluing na h-ephoid *a dh'*obair fhighte, uile *do* ghorm.

23 Agus *bha* toll am meadhon na falluinge, mar tholl lùiriche-màillich, *agus* foir[a] timchioll a tuill, a chum nach reubtadh i.

24 Agus rinn iad air iomall na falluinge pomgranata *do* ghorm, agus *do* chorcur, agus *do* ſcarlaid, *agus do anart* toinnte.

25 Agus rinn iad cluig *a dh'*òr fìor-ghlan, agus chuir iad na cluig eadar na pomgranatan, air iomall na falluinge m'an cuairt eadar na pomgranata:

26 Clag agus pomgranat, clag agus pomgranat, air iomall na falluinge m'an cuairt, a fhrithealadh *innte*, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

27 Agus rinn iad còtaichean *a dh'*anart grinn, *a dh'*obair fhighte, air ſon Aaroin agus a chuid mac,

28 Agus crùn-ſagairt *a dh'*anart grinn, agus bonaidean ſgiamhach *a dh'*anart grinn, agus briogais anairt *a dh'*anart grinn toinnte,

29 Agus crios *do* anart grinn toinnte, agus *do* ghorm, agus *do* chorcur, agus *do* ſcarlaid, *a dh'*obair ſhnàthaide, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

30 Agus rinn iad leachd[b] a' chrùin naomha *dh'*òr fìor-ghlan, agus ſgrìobh iad oirre ſgrìobhadh, *coſmhuil ri* gearradh ſeulaidh, NAOMHACHD DO'N TIGHEARNA.

31 Agus cheangail iad rithe iall do ghorm g'a daingneachadh air a' chrùn gu h-ard, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

32 Mar ſo chrìochnaicheadh uil' obair pàilliuin bùtha a' choimhthionail[c]: agus rinn clann Iſraeil a réir gach *ni* a dh'àithn an Tighearna do Mhaois; mar ſin rinn iad.

33 Agus thug iad am pàilliun gu Maois, am bùth, agus 'airneis uile, a chromagan, a bhuird, a chroinn, agus a phuiſt, agus a bhuinn;

34 Agus an còmhdach do chroicnibh reitheachan air an dath' dearg, agus an còmhdach do chroicnibh bhroc, agus brat a' chòmhdaich;

35 Airc na fianuis, agus a bataichean, agus cathair-na-tròcair;

36 Am bord *agus* a ſhoithichean uile, agus an t-aran taiſbeanta;

37 An coinnleir fìor-ghlan *agus* a lòchrain, *eadhon a* lòchrain gu bhi air an cur ann an ordugh, agus a ſhoithichean uile, agus an oladh a chum ſoluis;

38 Agus an altair òir, agus an oladh-ungaidh, agus an tùis chùbhraidh, agus am brat air ſon doruis a' phàilliuin;

39 An altair umha, agus a cliath umha, a bataichean, agus a ſoithichean uile, an ſoitheach-ionnlaid agus a chas;

40 Cùirteinean na cùirte, a puiſt, agus a buinn, agus am brat[d] air ſon geataidh na cùirte, a cuird, agus a pinneachan[e], agus uile ſhoithiche ſeirbhis a' phàilliuin, air ſon bùtha a' choimhthionail;

41 Eudach an ſhritheilidh[f] gu frithealadh ſan *ionad* naomha, an t-eudach naomha air ſon Aaroin an t-ſagairt, agus eudach a chuid mac, a fhrithealadh ann an dreuchd an t-ſagairt.

42 A rèir gach ni a dh'àithn an Tighearna

[a] *iomall, bann.* [b] *ſleaſg, blàth.* [c] *uil' obair pàilliuin*, eadhon *bùtha a' chomhchruinnich.* [d] *croch bhrat.* [e] *tairngean.* [f] *Truſcan na ſeirbhis.*

Tighearna do Mhaois, mar sin rinn clann Israeil an obair uile.

43 Agus dh'amhairc Maois air an obair uile, agus feuch, rinn iad i mar a dh'àithn an Tighearna, eadhon mar sin rinn iad i: agus bheannaich Maois iad.

CAIB. XL.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois ag ràdh,

2 Air a' cheud là do'n cheud mhìos cuiridh tu suas pàillium bùtha a' choimhthionail:

3 Agus cuiridh tu ann àirc na fianuis, agus folaichidh tu 'n àirc leis an roinn-bhrat.

4 Agus bheir thu stigh am bord, agus cuiridh tu 'n ordugh na nithe a ta gu bhi air an cur ar ordugh air; agus bheir thu stigh an coinnleir, agus lasaidh tu a lòchrain.

5 *Agus suidhichidh tu 'n altair òir a ta chum na tùise fa chomhair àirc na fianuis, agus cuiridh tu brat an doruis ris a' phàilliun.*

6 Agus suidhichidh tu altair na h-iobairt-loisgte fa chomhair doruis pàilliuin bùtha a' choimhthionail.

7 Agus suidhichidh tu 'n soitheach-ionnlaid eadar bùth a' choimhthionail agus an altair, agus cuiridh tu uisge ann.

8 Agus cuiridh tu suas a' chùirt m'an cuairt, agus crochaidh tu suas am brat aig geata na cùirte.

9 Agus gabhaidh tu an oladh-ungaidh, agus ungaidh tu 'm pàilliun, agus gach ni a *ta* ann, agus naomhaichidh tu e, agus a shoithichean uile: agus bithidh e naomha.

10 Agus ungaidh tu altair na h-iobairt-loisgte, agus a soithichean uile, agus naomhaichidh tu an altair: agus bithidh an altair ro-naomha.

11 Agus ungaidh tu an soitheach-ionnlaid agus a chas, agus naomhaichidh tu e.

12 Agus bheir thu Aaron agus a mhic gu dorus bùtha a choimhthionail [a], agus ionnailidh tu iad le h-uisge.

13 Agus cuiridh tu air Aaron an t-eudach naomha [b], agus ungaidh tu e, agus naomhaichidh tu e; agus frithcilidh e dhomhsa ann an dreuchd an t-sagairt.

14 Agus bheir thu leat a mhic, agus cuiridh tu còtaichean orra,

15 Agus ungaidh tu iad, mar a dh'ung thu 'n athair, agus frithcilidh [c] iad dhomhsa ann an dreuchd an t-sagairt; oir bithidh gu deimhin an ungadh-sa dhoibh a chum sagartachd siorruidh air feadh an ginealacha.

16 Agus rinn Maois a rèir gach ni a dh'àithn an Tighearna dha: mar sin rinn e.

17 Agus b'anns a' cheud mhìos, san dara bliadhna, air a' cheud *là do'n* mhìos, a chuireadh suas am pàilliun.

18 Agus chuir Maois suas am pàilliun agus dhaingnich e 'bhuinn, agus chuir e suas a bhuird, agus chuir e stigh a chroinn, agus thog e suas a phuist.

19 Agus sgaoil e mach am bùth os cionn a' phàilliuin, agus chuir e còmhdach a' bhùtha air os a cheann, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

20 Agus ghabh e agus chuir e an fhianuis [d] anns an àirc, agus chuir e na bataichean air an àirc, agus chuir e cathair-na-tròcair air an àirc os a ceann.

21 Agus thug e 'n àirc a stigh do'n phàilliun, agus chuir e suas brat a' chòmhdaich, agus chòmhdaich e àirc na fianuis, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

22 Agus chuir e 'm bord ann am bùth a' choimhthionail air taobh a' phàilliuin mu thuath, an taobh a muigh do'n roinn-bhrat.

23 Agus chuir e 'n t-aran ann an ordugh air, ann an làthair an Tighearna, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

24 Agus chuir e 'n coinnleir ann am bùth a' choimhthionail thall fa chomhair a' bhuird, air taobh a phàilliuin ris an airde deas.

25 Agus las e na lòchrain ann an làthair an Tighearna, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

26 Agus

[a] *pàilliuin a' choimhthionail.* [b] *an trusgan, a' chulaidh naomha.* [c] *chum gu frithealadh.* [d] *an teisteas.*

26 Agus chuir e 'n altair òir ann
àn bùth a' choimhthionail air beul-
aobh an roinn-bhrait.
27 Agus loifg e tùis chùbhraidh
oirre, mar a dh'àithn an Tighearna
do Mhaois.
28 Agus chuir e fuas am brat [a] aig
dorus a' phàilliuin.
29 Agus chuir e altair na h-ìobairt-
loifgte làimh ri dorus pàilliuin bùtha
a' choimhthionail, agus thug e fuas
oirre an ìobairt-loifgte, agus an
tabhartas-bìdh, mar a dh'àithn an
Tighearna do Mhaois.
30 Agus chuir e 'n foitheach-
ionnlaid eadar bùth a' choimhthionail
agus an altair, agus chuir e uifge ann,
a dh'ionnlad *leis.*
31 Agus dh'ionnail Maois, agus
Aaron, agus a mhic, an làmhan agus
an cofan aige.
32 An uair a bha iad gu dol
a ftigh do bhùth a' choimhthion-
ail, agus gu teachd am fagus do'n
altair, dh'ionnail fiad iad féin, mar
a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.
33 Agus chuir e fuas a' chùirt
timchioll a' phàilliuin agus na h-
altarach, agus chuir e fuas brat
geataidh na cùirte: mar fin chrìoch-
naich Maois an obair.
34 An fin chòmhdaich neul bùth
a' choimhthionail, agus lìon glòir an
Tighearn am pàilliun.
35 Agus cha b'urradh Maois dol a
ftigh do bhùth a' choimhthionail,
a chionn gu'n do ghabh an neul
còmhnuidh air, agus gu'n do lìon
glòir an Tighearn am pàilliun.
36 Agus an uair a dh'éirich an
neul fuas o mhullach a' phàilliuin,
chaidh clann Ifraeil air an aghaidh
nan uile thurufaibh :
37 Ach mur d'éirich an neul fuas,
an fin cha do thriall iad gus an là
fan d'éirich e fuas :
38 Oir bha neul an Tighearn air a'
phàilliun fan là, agus bha teine air
fan oidhche, ann an fealladh thighe
Ifraeil uile, air feadh an uile thurufa.

[a] *an còmhdach.*

LEBHITICUS.

CAIB. I.

AGUS ghairm an Tighearn air Maois, agus labhair e ris a pàilliun a' choimhthionail [a], ag ràdh,

2 Labhair ri cloinn Israeil, agus abair riu, Ma bheir duine *sam bith* agaibh tabhartas a dh'ionnsuidh an Tighearna, bheir sibh bhur tabhartas do'n spréidh, *eadhon* do'n bhuar agus do'n treud.

3 Ma *bhios* a thabhartas do'n bhuar na ìobart-loisgte [b], thugadh e seachad *beathach* firionn gun ghaoid: aig dorus pàilliuin a' choimthionail bheir e seachad e d'a shaor thoil féin, an làthair an Tighearna.

4 Agus cuiridh e a làmh air ceann na h-iobairt-loisgte: agus gabhar air a shon i, a dheanamh réite air a shon.

5 Agus marbhaidh e 'n tarbh òg [c] an làthair an Tighearna: agus bheir na sagairt mic Aaroin leo an fhuil, agus crathaidh iad an fhuil m'an cuairt air an altair, a *ta* aig dorus pàilliuin a' choimhthionail.

6 Agus fionnaidh e 'n ìobairt-loisgte, agus gearraidh e i na miribh [d].

7 Agus cuiridh mic Aaroin an t-sagairt teine air an altair, agus leagaidh iad fiodh [e] ann an ordugh air an teine.

8 Agus leagaidh na sagairt mic Aaroin na mirean, an ceann, agus an t-saill, ann an ordugh air an fhiodh a *ta* air an teine, a *tha* air an altair.

9 Ach a mhionach [f] agus a chasan nighidh e ann an uisge: agus loisgidh an sagart an t-iomlan [g] air an altair, mar ìobairt-loisgte, tabhartas a bheirear suas le teine, a dh'fhàile cùbhraidh [h] do'n Tighearna.

10 Agus ma's ann do na treudaibh a *bhios* a thabhartas, *eadhon* do na caoraich, no do na gabhraibh, chum ìobairt-loisgte; na *bheathach* firionn gun ghaoid bheir e leis e.

11 Agus marbhaidh se e aig taobh na h-altarach mu thuath ann an làthair an Tighearna: agus cràthaidh na sagairt mic Aaroin 'fhuil air an altair m'an cuairt.

12 Agus gearraidh e na mìribh e, maille r'a cheann agus r'a shaill; agus cuiridh an sagart iad ann an ordugh air an fhiodh a *ta* air an teine, a *tha* air an altair.

13 Ach nighidh e am mionach agus na casan le h-uisge; agus bheir an sagart leis an t-iomlan, agus *loisgidh* e air an altair *e*, mar ìobairt-loisgte, tabhartas a bheirear suas le teine, a dh'fhàile cùbhraidh do'n Tighearna.

14 Agus ma's ann do eunaibh *a bhios* a thabhartas do'n Tighearna *chum* ìobairt-loisgte, an sin bheir e a thabhartas do thurturaibh, no do cholumanaibh òga.

15 Agus bheir an sagart e chum na h-altarach, agus sniomhaidh [k] e 'cheann deth, agus loisgidh e air an altair *e*; agus fàisgear a mach 'fhuil air taobh na h-altarach.

16 Agus spìonaidh [l] e 'gheuban as maille r'a chlòimh [m], agus tilgidh e làimh ris an altair e, air an taobh an ear, a dh'àite na luatha.

17 Agus sgoiltidh e maille r'a sgiathaibh e, *ach* cha roinn e o cheile e;

[a] *lùth a' choimhthionail*, Eabh. [b] chum *ìobairt-loisgte*. [c] *gambuinn: mac bòtha.* [d] *'na bloighdibh.* [e] *connadh.* [f] *a ghrealach.* [g] *na h-uile.* [h] *do bholadh cùbhraidh.* [k] *spìonaidh.* [l] *reub aidh.* [m] *iteagan.*

e: agus loiſgidh an ſagart e air an altair, air an fhiodh a *ta* air an teine, mar iobairt-loiſgte, tabhartas a bheirear ſuas le teine, a dh'fhàile cùbhraidh do'n Tighearna.

C A I B. II.

AGUS an uair a bheir neach air bith tabhartas-bidh do'n Tighearna, bithidh a thabhartas *do* phlùr min: agus dòirtidh e oladh air, agus cuiridh e tùis air:

2 Agus bheir ſe e gu mic Aaroin na ſagairt, agus gabhaidh e as làn a dhuirn d'a phlùr, agus d'a ola, maille r'a thùis uile; agus loiſgidh an ſagart a chuimhneachan air an altair, *gu bhi* na thabhartas air a thoirt ſuas le teine, a dh'fhàile cùbhraidh do'n Tighearna.

3 Agus fuigheall an tabhartais-bhidh, *is* le Aaron agus le 'mhic*e: is* ni ro-naomha e do thabhartaſaibh an Tighearn air an toirt ſuas le teine.

4 Agus ma bheir thu ſeachad tabhartas-bidh air a dheaſachadh[a] ſan àmhuinn, *is* breacagan neo-ghoirtichte do phlùr min meaſgta le h-oladh a *bhios ann*, no dearnagan[b] neo-ghoirtichte ungta le h-ola.

5 Agus ma's tabhartas-bidh *air a dheaſachadh* ann an aghann *a bhios* a'd' thabhartas, bithidh e *do* phlùr min neo-ghoirtichte, meaſgta le h-ola.

6 Roinnidh tu e na mhìribh, agus dòirtidh to oladh air: *is* tabhartas-bidh a t'ann.

7 Agus ma *bhios* do thabhartas na thabhartas-bìdh o'n aghann-ròſtaidh, nithear e do phlùr min le h-ola.

8 Agus bheir thu 'n tabhartas-bidh, a nìthear do na nithibh ſo, chum an Tighearna: agus an uair a thaiſbeanar[c] do'n t-ſagart e, bheir ſe e chum na h-altarach.

9 Agus gabhaidh an ſagart as an tabhartas-bìdh cuimhneachan dheth, agus loiſgidh ſe *e* air an altair: *is* tabhartas *a th'ann* air a thoirt ſuas le teine, a dh'fhàile cùbhraidh do'n Tighearna.

10 Agus an ni a dh'fhàgar do'n tabhartas-bìdh, *is le* Aaron agus *le* 'mhic *e: tha e* na ni ro-naomha do thabhartais an Tighearn air an toirt ſuas le teine.

11 Cha deanar tabhartas-bìdh ſam bith, a bheir ſibh a dh'ionnſuidh an Tighearna, le taois ghoirt; oir cha loiſg ſibh a' bheag do thaois ghoirt, no do mhil, ann an tabhartais an Tighearn a bheirear ſuas le teine.

12 A thaobh tabhartais a' cheud toraidh, bheir ſibh ſeachad e do'n Tighearna: ach cha loiſgear air an altair e chum ſàile cùbhraidh.

13 Agus gach tabhartas-bìdh a bheir thu leat, ni thu blaſda le ſalann: cha mhò a leigeas tu le ſalann coimh-cheangail do Dhé bhi dh'eaſbhuidh air do thabhartais-bidh: le d' thabhartais uile bheir thu ſeachad ſalann.

14 Agus ma bheir thu ſeachad tabhartas-bìdh do d' cheud thoradh do'n Tighearna, bheir thu ſeachad mar an tabhartas-bìdh do d' cheud thoradh, diaſa glaſa do arbhar cruaidhichte leis an teine, *eadhon* ſìol buailte as na diaſaibh ùra[d].

15 Agus cuiridh tu oladh air, agus leagaidh tu tùis air: is tabhartas-bidh e.

16 Agus loiſgidh an ſagart a chuimhneachan, cuid d'a arbhar buailte, agus cuid d'a ola, maille r'a thùis uile: *is* tabhartas *e* a bheirear ſuas le teine do'n Tighearna.

C A I B. III.

AGUS ma *bhios* a thabhartas, *a chum* iobairt tabhartaſan-ſith, ma's ann do'n bhuar a bheir e ſeachad *e*, ma'*s* firionn no bainionn *e;* bheir e ſeachad e gun ghaoid an làthair an Tighearna.

2 Agus cuiridh e a làmh air ceann a thabhartais, agus marbhaidh ſe e aig dorus pàilliuin a' choimhthionail: agus crathaidh mic Aaroin na ſagairt an fhuil air an altair m'an cuairt.

3 Agus bheir e ſeachad do iobairt nan tabhartas-ſith, tabhartas a bheirear ſuas le teine do'n Tighearna; an t-ſaill a *ta* còmhdachadh a' mhionaich, agus an t-ſaill uile a *th*'air a' mhionach,

4 Agus an dà àra, agus an t-ſaill a *ta* orra, a *ta* air an lochlèin, agus an ſgairt a *ta* os cionn nan àirnean;

[a] *bruichte.* [b] *gearragan; wafers.* Saſg. [c] *nochdar.* [d] *lànа.*

maille ris na h-airnibh, bheir e air falbh i.

5 Agus loisgidh mic Aaroin e air an altair, air an ìobairt-loisgte, a *ta* air an fhiodh a *th'*air an teine: *is* tabhartas *e* a bheirear suas le teine, a dh'*fhàile* cùbhraidh do'n Tighearna.

6 Agus ma's ann *do'*n treud *a* bhios a thabhartas chum iobairt tabhartasan-sith do'n Tighearna, firionn no bainionn; bheir e seachad e gun ghaoid.

7 Ma bheir e seachad uan mar a thabhartas, bheir e seachad e an làthair an Tighearna.

8 Agus cuiridh e a làmh air ceann a thabhartais, agus marbhaidh se e fa chomhair pàilliuin a' choimhthionail: agus crathaidh mic Aaroin 'fhuil air an altair m'an cuairt.

9 Agus bheir e seachad *cuid* do iobairt nan tabhartas-sith, mar thabhartas a bheirear suas le teine do'n Tighearna; a shaill *agus* an t-earball uile, teann air a' chnàimh-dhroma bheir e air falbh e: agus an t-saill a ta còmhdachadh a' mhionaich, agus an t-saill uile a *ta* air a' mhionach,

10 Agus an dà àra, agus an t-saill a *ta* orra, a *ta* làimh ris an loch-léin, agus an sgairt os cionn nan àinean; maille ris na h-àirnibh, bheir e air falbh i.

11 Agus loisgidh an sagart e air an altair; '*se* biadh an tabhartais a bheirear suas le teine do'n Tighearn*a*.

12 Agus ma's gabhar *a bhios* na thabhartas, bheir e seachad i an làthair an Tighearna.

13 Agus cuiridh e a làmh air a ceann, agus marbhaidh e i fa chomhair pàilliuin a' choimhthionail: agus crathaidh mic Aaroin a fuil air an altair m'an cuairt.

14 Agus bheir e seachad dhith a thabhartas, *eadhon* tabhartas a bheirear suas le teine do'n Tighearna; an t-saill a tha còmhdachadh a' mhionaich, agus an t-saill uile a *ta* air a' mhionach,

15 Agus an dà àra, agus an t-saill a *ta* orra, a *tha* làimh ris an loch-léin, agus an sgairt os cionn nan àinean; maille ris na h-àirnibh, bheir e air falbh i.

16 Agus loisgidh an sagart iad air an altair: *is iad* biadh an tabhartais a bheirear suas le teine, chum fàile cùbhraidh. An t-saill uile *is* leis an Tighearna.

17 *Bithidh e* na reachd [a] bithbhuan do'r ginealachaibh air feadh bhur n-àiteacha-còmhnuidh uile, nach ith sibh saill no fuil sam bith.

CAIB. IV.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

2 Labhair ri cloinn Israeil, ag ràdh, Ma pheacaicheas anam tre aineolas [b] an aghaidh h-aon sam bith do àitheantaibh an Tighearna (thaobh nithe nach bu chòir a dheanamh) agus gu'n dean e *ni* an aghaidh a h-aon diubh;

3 Ma pheacaicheas an sagart a chaidh ungadh, a réir peacaidh an t-sluaigh: an sin thugadh e air son a pheacaidh a pheacaich e, tarbh òg gun ghaoid a dh'ionnsuidh an Tighearna chum ìobairt-pheacaidh.

4 Agus bheir e an tarbh gu dorus pàilliuin a' choimhthionail an làthair an Tighearna; agus cuiridh e a làmh air ceann an tairbh, agus marbhaidh e 'n tarbh an làthair an Tighearna.

5 Agus gabhaidh an sagart a chaidh ungadh, *cuid* do fhuil an tairbh, agus bheir e i gu pàilliun a' choimhthionail.

6 Agus tumaidh an sagart a mheur san fhuil, agus crathaidh e *cuid* do'n fhuil seachd uairean an làthair an Tighearna, fa chomhair roinn-bhrait an *ionaid* naomha.

7 Agus cuiridh an sagart *cuid* do'n fhuil air adhaircibh altarach na tùis chùbhraidh am fianuis an Tighearna, a *ta* ann am pailliun a' choimhthionail; agus dòirtidh e fuil an tairbh uile aig bun altarach na h-ìobairt-loisgte, a *ta* aig dorus pàilliuin a' choimhthionail.

8 Agus uile shaill tairbh na h-ìobairt-pheacaidh bheir e air falbh uaith; an t-saill a ta còmhdachadh a' mhionaich, agus an t-saill uile a *ta* air a' mhionach,

9 Agus an dà àra, agus an t-saill a *ta* orra, a *tha* làimh ris an loch léin [c], agus

[a] *ordugh, lagh.* [b] *ann an aineolas.* Eabh. [c] *a' bhlian.*

agus an ſgairt os cionn nan àinean:
maille ris na h-àirnibh bheir e air
falbh i,
10 Mar a thugadh air falbh i o
tharbh iobairt nan tabhartas-sìth: a-
gus loiſgidh an ſagart iad air altair na
h-iobairt-loiſgte.
11 Agus ſeiche[a] an tairbh, agus
'fheoil uile, maille r'a cheann, agus
maille r'a chaſan, agus a mhionach,
agus a ghaorr[b],
12 Eadhon an tarbh gu h-iomlan
giùlainidh e mach an taobh a muigh
do'n champ gu h-ionad glan, ſar an
dòirtear[c] a mach an luath, agus
loiſgidh e air an fhiodh e le teine:
far an dòirtear a mach an luath,
loiſgear e.
13 Agus ma pheacaicheas coimh-
thional Iſraeil uile tre aineolas, agus
gu bheil an ni folaichte o ſhùilibh a'
choimhchruinnich, agus gu'n d'rinn
iad *ni-eigin*[d] *an aghaidh* a h-aon ſam
bith a dh'àitheantaibh an Tighearna, *a
thaobh nithe* nach bu chòir a dheanamh,
agus gu bheil iad ciontach:
14 An uair a bhios am peacadh a
pheacaich iad na aghaidh aithnichte,
an ſin bheir an coimhchruinneach
ſeachad tarbh òg air ſon a' pheacaidh,
agus bheir iad e fa chomhair pàilliuin
a' choimhthionail.
15 Agus cuiridh ſeanairean a'
choimhthionail an làmhan air ceann
an tairbh an làthair an Tighearna:
agus marbhar an tarbh an làthair an
Tighearna.
16 Agus bheir an ſagart a chaidh
ungadh *cuid* do fhuil an tairbh gu
pàilliun a' choimhthionail.
17 Agus tumaidh an ſagart a mheur
ann an cuid do'n fhuil, agus crathaidh
e i ſeachd uairean an làthair an Tigh-
earna, fa chomhair an roinn-bhrait.
18 Agus cuiridh e *cuid* do'n fhuil
air adhaircibh na h-altarach a *ta* am
fianuis an Tighearna, a *ta* ann am pàil-
liun a' choimhthionail, agus dòirtidh
e mach an fhuil uile aig bun altarach
na h-iobairt-loiſgte, a *ta aig* dorus
pàilliuin a' choimhthionail.
19 Agus bheir e air falbh a ſhaill
uile uaith, agus loiſgidh e *i* air an al-
tair.
20 Agus ni e ris an tarbh mar a
rinn e ri tarbh na h-iobairt-pheacaidh,
mar ſin ni e ris: agus ni an ſagart réite
air an ſon, agus bheirear maitheanas
dhoibh.
21 Agus bheir e mach an tarbh an
taobh a muigh do'n champ, agus
loiſgidh ſe e mar a loiſg e 'n ceud
tarbh: *is* iobairt-pheacaidh e air ſon
a' choimhchruinnich.
22 'Nuair a pheacaicheas uachdaran,
agus a ni e *ni-eigin* tre aineolas an
aghaidh a h-aon ſam bith a dh'-
àitheantaibh an Tighearn a Dhé, *a
thaobh nithe* nach bu chòir a dheanamh,
agus gu bheil e ciontach:
23 Ma thig a pheacadh, a pheacaich
e, g'a fhios; bheir e leis *mar* a
thabhartas meann do na gabhraibh,
beathach firionn gun ghaoid.
24 Agus cuiridh[e] e a làmh air
ceann a' mhinn, agus marbhaidh ſe e
ſan ionad anns am marbh iad an
iobairt-loiſgte[f] ann an làthair an
Tighearna: *is* iobairt-pheacaidh e.
25 Agus gabhaidh an ſagart *cuid*
do fhuil na h-iobairt-pheacaidh le
'mheur, agus cuiridh e *i* air adhaircibh
altarach na h-iobairt-loiſgte, agus
dòirtidh e mach a fuil aig bun al-
tarach na h-iobairt-loiſgte.
26 Agus loiſgidh e a ſaill uile air
an altair, mar *a loiſgear* ſaill iobairt
nan tabhartas-sìth: agus ni an ſagart
réite air a ſhon a thaobh a pheacaidh,
agus màthar dha e.
27 Agus ma pheacaicheas aon neach
do ſhluagh na dùthcha[g] tre aineolas, an
uair a ta e deanamh *ni-eigin an aghaidh*
a h-aon ſam bith a dh'àitheantaibh
an Tighearna, *a thaobh nithe* nach bu
chòir a dheanamh, agus gu'm bheil
e ciontach:
28 Ma thig a pheacadh, a pheacaich
e, g'a fhios; an ſin bheir e leis *mar*
a thabhartas, meann do na gabhraibh,
beathach boirionn gun ghaoid, air ſon
a pheacaidh a pheacaich e.
29 Agus cuiridh e a làmh air
ceann na h-iobairt-pheacaidh, agus
marbhaidh

[a] *ſeice, craicionn.* [b] *aolach.* [c] *tilgear.* [d] ni-'gin. [e] *leagaidh.*
[f] *tabhartas loiſgte, ofrail-loiſgte.* [g] *do'n tuath-cheatharn, do'n phobul chumanta.*

marbhaidh e 'n iobairt-pheacaidh ann an ionad na h-iobairt-loisgte.

30 Agus gabhaidh an sagart *cuid* d'a fuil le 'mheur, agus cuiridh e *i* air adhaircibh altarach na h-iobairt-loisgte, agus dòirtidh e mach a fuil uile aig bun na h-altarach.

31 Agus bheir e aisde a saill uile, mar a bheirear an t-saill a h-iobairt nan tabhartas-sith; agus loisgidh an sagart *i* air an altair, a chum fàile cùbhraidh do'n Tighearna: agus ni an sagart réite air a shon, agus bheirear maitheanas dha.

32 Agus ma bheir e leis uan mar a thabhartas air son peacaidh, bheir e leis *uan* bainionn gun ghaoid.

33 Agus cuiridh e a làmh air ceann an tabhartais-pheacaidh [a], agus marbhaidh se e mar iobairt-pheacaidh san ionad anns am marbh iad an iobairt-loisgte.

34 Agus gabhaidh an sagart *cuid* do fhuil na h-iobairt-pheacaidh le 'mheur, agus cuiridh e *i* air adhaircibh altarach na h-iobairt-loisgte, agus dòirtidh e mach a fuil uile aig bun na h-altarach.

35 Agus bheir e aisde a saill uile mar a bheirear air falbh saill an uain o iobairt nan tabhartas-sith; agus loisgidh an sagart iad air an altair, a réir nan tabhartas a bheirear suas le teine do'n Tighearna: agus ni 'n sagart réite air a shon a thaobh a pheacaidh a rinn e, agus mathar e dha.

CAIB. V.

AGUS ma pheacaicheas anam, agus gu'n cluinn e guth mionnachaidh [b], agus *gur* fiadhis e, a chunnaic no *is* fiosrach air *a' chuis*, mur cuir e 'n céill *i*, an sin giùlainidh e a chionta:

2 No ma bheanas anam ri ni sam bith neo-ghlan, ma's cairbh [c] fiadh-bheathaich neo-ghloin *e*, no cairbh spréidh neo-*ghloin*, no cairbh *ni neo*-ghloin a shnàigeas [d], agus e an-fhiosrach air; bithidh esan mar an ceudna neo-ghlan, agus ciontach:

3 No ma bheanas e ri neo-ghloine duine, ge b'e air bith an neo-ghloine leis an salaichear duine, agus gu'm bheil e an-fhiosrach air; an uair is fios da e, an sin bithidh e ciontach:

4 No ma mhionnaicheas anam [e], ag ràdh le 'bhilibh gu'n dean e olc, no gu'n dean e math, ge b'e air bith e a labhras duine le mionnaibh, agus gu bheil e an-fhiosrach air; an uair is fios da *e*, an sin bithidh e ciontach ann an aon diubh sin.

5 Agus tachairidh 'nuair a bhios e ciontach do aon do na *nithibh* sin, gu'n aidich [f] e gu'n do pheacaich e san *ni* sin.

6 Agus bheir e leis iobairt-eusaontais a dh'ionnsuidh an Tighearn air son a pheacaidh a pheacaich e, *beathach* bainionn o'n treud, uan no meann o na gabhraibh, mar iobairt-pheacaidh: agus ni an sagart réite air a shon a thaobh a pheacaidh.

7 Agus mur urrain e uan a thoirt leis, an sin bheir e leis air son a choire a rinn e, dà thurtur, no dà choluman òga, dh'ionnsuidh an Tighearna; fear a chum iobairt-pheacaidh, agus am fear eile chum iobairt-loisgte.

8 Agus bheir e iad a dh'ionnsuidh an t-sagairt, agus bheir esan seachad *am fear* a *ta* chum na h-iobairt-pheacaidh air tùs, agus sniomhaidh e 'cheann o 'amhaich [g], ach cha sgar e o chéile iad.

9 Agus crathaidh e *cuid* do fhuil na h-iobairt pheacaidh air taobh na h-altarach, agus a' chuid eile do'n fhuil fàisgear a mach aig bun na h-altarach: *is* iobairt-pheacaidh e.

10 Agus bheir e seachad an dara *eun* mar iobairt-loisgte, a réir a' ghnàtha: agus ni an sagart réite air a shon a thaobh a pheacaidh a pheacaich e, agus mathar e dha.

11 Ach mur urrainn e dà thurtur, no dà choluman òga a thoirt leis; an sin bheir esan a pheacaich leis mar a thabhartas an deicheamh cuid do ephah do phlùr mìn, mar thabhartas peacaidh: cha chuir e oladh air, ni mò a chuireas e tùis air, oir *is* tabhartas-peacaidh e.

12 An

[a] *an tabhartais air son peacaidh.* [b] *guth mionnan.* [c] *closach.* [d] *a shnàgas, a chrùbas.* [e] *ma bheir neach mionnan.* [f] *aidmhich* [g] *mhuineal.*

12 An ſin bheir e chum an t-ſagairt e, agus gabhaidh an ſagart làn a dhuirn deth, *eadhon* cuimhneachan deth, agus loiſgidh e air an altair *e*, a réir nan tabhartas a bheirear ſuas le teine do'n Tighearna: *is* tabhartas-peacaidh *e*.

13 Agus ni an ſagart réite air a ſhon a thaobh a pheacaidh a pheacaich e ann an aon diubh ſin, agus mathar e dha: agus bithidh *am fuigheall* leis an t-ſagart, mar thabhartas-bìdh.

14 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

15 Ma ni anam coire, agus gu'm peacaich e tre aineolas ann an nithibh naomha an Tighearna; an ſin bheir e air ſon a choire dh'ionnſuidh an Tighearna, reithe gun ghaoid o na treudaibh, a réir do mheas le ſecelibh airgid, a réir ſécel an *ionaid* naomha, chum iobairt-euſaontais.

16 Agus air ſon an lochd a rinn e ſan ni naomha ni e coimhleaſachadh, agus cuiridh e ris an cùigeadh cuid, agus bheir e do 'n t-ſagart e: agus ni an ſagart réite air a ſhon le reithe na h-iobairt-euſaontais, agus mathar dha e.

17 Agus ma pheacaicheas anam, agus gu'n dean e h aon do na nithibh ſin a thoirmiſgeadh le àitheantaibh an Tighearna bhi air an deanamh; ge nach b'fhios da e, gidheadh a ta e ciontach, agus giùlainidh e 'aingidheachd [a].

18 Agus bheir e leis reithe gun ghaoid o'n treud, a réir do mheas, chum iobairt-euſaontais, a dh'ionnſuidh an t-ſagairt: agus ni an ſagart réite air a ſhon a thaobh 'aineolais, leis an deachaidh e air ſeacharan [b] agus gun fhios aig *air*; agus mathar dha e.

19 *Is* iobairt-euſaontais a th'ann: chiontaich e gu deimhin an aghaidh an Tighearna.

C A I B. VI.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

2 Ma pheacaicheas anam, agus gu'n dean e euſaontas an aghaidh an Tighearna, agus gu'n dean e breug d'a choimhearſnach a thaobh an ni a thugadh dha r'a ghleidheadh, no ann an companas, no thaobh an ni a thugadh air falbh le h-ainneart, no ma mheall e 'choimhearſnach;

3 No ma fhuair e an ni ſin a chailleadh, agus gu'n d'rinn e breug uime, agus gu'n d'thug e mionnan eithich [c]; ann an aon ni dhiubh ſin uile a ni duine, a peacachadh annta:

4 An ſin tachairidh, a chionn gu'n do pheacaich e, agus gu bheil e ciontach, gu'n d'thoir e air ais [d] an ni ſin a thug e air falbh le h-ainneart, no an ni ſin a fhuair e gu meallrach; no an ni ſin a thugadh dha r'a ghleidheadh, no chailleadh agus a fhuair e,

5 No ni ſam bith m'an d'thug e mionnan eithich; bheir e air ais e ſan iomlan, agus cuiridh e 'n cùigeadh cuid a thuille ris, *agus* bheir e dhaſan e d'am buin e, ann an là iobairt-euſaontais.

6 Agus bheir e leis iobairt-euſaontais chum an Tighearna, reithe gun ghaoid o'n treud, a réir do mheas, mar iobairt euſaontais, a dh'ionnſuidh an t-ſagairt.

7 Agus ni an ſagart réite air a ſhon an làthair an Tighearna: agus gheibh e maitheanas a thaobh gach ni dhiubh ſin uile a rinn e, a' ciontachadh annta.

8 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh;

9 Thoir àithne do Aaron agus d'a mhic, ag ràdh, *Is e* ſo lagh na h-iobairt-loiſgte: (*Is* i 'n iobairt-loiſgte i, air ſon an loſgaidh air an altair air feadh na h-oidhche uile gu maduinn, agus bithidh teine na h-altarach a' loſgadh innte)

10 Agus cuiridh an ſagart truſcan [f] anairt uime, agus cuiridh e briogais anairt air 'fheoil, agus togaidh e ſuas an luath a loiſg an teine leis an iobairt-loiſgte air an altair, agus cuiridh e i làimh ris an altair.

11 Agus cuiridh e a' thruſcan dheth, agus cuiridh e truſcan eile uime, agus giùlainidh e 'n luath a mach an taobh a muigh do'n champ, gu h-ionad glan.

12 Agus

[a] *a chionta, a choire.* [b] *am mearachd.* [c] *mionnan gu breugach.*
[d] *aiſig e.* [e] *air an d'fhuaradh ciontach e.* [f] *ēididh, eudach, culaidh.*

12 Agus bithidh an teine air an altair a' loſgadh innte, cha chuirear as e: agus loiſgidh an ſagart fiodh oirre gach maduinn, agus cuiridh e an ìobairt-loiſgte ann an ordugh oirre, agus loiſgidh e oirre ſaill nan ìobairte-sìth.

13 Bithidh an teine a' laſadh air an altair an còmhnuidh: cha dthéid e idir as.

14 Agus *is* e ſo lagh an tabhartais-bhìdh: bheir mic Aaroin e an làthair an Tighearna fa chomhair na h-altarach.

15 Agus gabhaidh e làn a dhuirn deth, do phlùr an tabhartais-bhìdh, agus d'a oladh, agus an tùis uile a *ta* air an tabhartas-bhìdh, agus loiſgidh e air an altair *e, chum* fàile cùbhraidh, *eadhon* cuimhneachan dheth do'n Tighearna.

16 Agus ithidh Aaron agus a mhic am fuigheall: maille ri aran neo-ghoirtichte ithear e ſan ionad naomha; ann an cùirt pàilliuin a' choimhthionail ithidh iad e.

17 Cha'n fhuinear e le taois ghoirt: thug mi *dhoibh e mar* an cuibhrionn do m' thabhartaſaibh air an toirt ſuas le teine: tha e ro-naomha, mar an ìobairt-pheacaidh, agus mar an ìobairt-euſaontais.

18 Ithidh gach firionnach am meaſg chloinn Aaroin dheth: *bithidh e* na reachd ſìorruidh air feadh bhur ginealacha thaobh tabhartaſan an Tighearn air an toirt ſuas le teine: bithidh gach neach a bheanas riu naomha.

19 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

20 *Is e* ſo tabhartas Aaroin, agus a chuid mac, a bheir iad ſeachad do'n Tighearna, ſan là a dh'ungar e; an deicheamh cuid do ephah do phlùr mìn mar thabhartas-bìdh an còmhnuidh [a], a leth ſa' mhaduinn, agus a leth ſan fheaſgar.

21 Ann an aghann [b] nithear e le h-oladh, *agus an uair a bhios e* fuinte, bheir thu ſtigh e: *agus* na mìrean fuinte do'n tabhartas-bìdh bheir thu ſeachad a chum fàile cùbhraidh do'n Tighearna.

22 Agus bheir an ſagart d'a mhic, a dh'ungadh na àite, ſeachad e: *is* reachd ſìorruidh e do'n Tighearna: loiſgear gu h-iomlan e:

23 Oir loiſgear gach tabhartas-bìdh air ſon an t-ſagairt gu h-iomlan: cha'n ithear e.

24 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

25 Labhair ri h-Aaron agus r'a mhic, ag ràdh, *Is e* ſo lagh na h-ìobairt pheacaidh: ſan ionad anns am marbhar an ìobairt-loiſgte, bithidh an ìobairt-pheacaidh air a marbhadh am fianuis an Tighearna: *tha* i ro-naomha.

26 Ithidh an ſagart i, a bheir ſeachad i air ſon peacaidh: anns an ionad naomha ithear i, ann an cùirt pàilliuin a' choimhthionail.

27 Ge b'e ni a bheanas d'a feoil bithidh e naomha; agus an uair a chrathar a' bheag d'a fuil air eudach ſam bith, nighidh tu an ni air an do chrathadh i anns an ionad naomha.

28 Agus bithidh an ſoitheach creadha anns an do bhruicheadh i air a bhriſeadh; ach ma bhruicheadh i ann an coireadh umha [c], glanar agus nighear [d] e ann an uiſge.

29 Ithidh na firionnaich uile am meaſg nan ſagart dhith: *tha* i ro-naomha.

30 Ach cha'n ithear ìobairt-pheacaidh ſam bith, d'an d'thugadh *a' bheag* do'n fhuil a ſteach do phàilliun a' choimhthionail a dheanamh réite ſan *ionad* naomha: loiſgear ſan teine i.

CAIB. VII.

AGUS *is e* ſo lagh na h-ìobairt-euſaontais: *tha* i ro-naomha.

2 Anns an ionad ſam marbh iad an ìobairt-loiſgte, marbhaidh iad an ìobairt-euſaontais: agus crathaidh e a fuil air an altair m'an cuairt.

3 Agus bheir e ſeachad dhith a ſaill uile; an t-earball [e] agus an t-ſaill a ta còmhdachadh a' mhionaich,

4 Agus an dà àra, agus an t-ſaill a *ta* orra, a ta làimh ris an loch-léin, agus an ſcairt *a ta* os cionn nan àirnean [f];

maille

[a] *bith-bhuan, daonan.* [b] *aigheann.* [c] *preis umha* [d] *ſcùrar, agus glan-nighear.* [e] *bun an earbaill.* [f] *os cionn a' ghrùthain.*

maille ris na h-airnibh, bheir e air falbh i.

5 Agus loisgidh an sagart iad air an altair; mar thabhartas a bheirear suas le teine do'n Tighearna: *is* iobairt-eusaontais i.

6 Ithidh gach firionnach am measg nan sagart dhith: san ionad naomha ithear i: tha i ro-naomha.

7 Mar an iobairt-pheacaidh, *is* amhuil sin an iobairt-eusaontais: *is* aon lagh dhoibh: leis an t-sagart a ni réite leath, bithidh i.

8 Agus an sagart a bheir seachad iobairt-loisgte duine sam bith, is leis an t-sagart so croiciomn na h-iobairt-loisgte a thug e seachad.

9 Agus buinidh an tabhartas-bidh uile a dh'fhuinear ann an àmhuinn, agus gach *ni* a dheasaichear ann an aigheann-ròstaidh, agus ann am méis[a], do'n t-sagart a bheir seachad e.

10 Agus bithidh gach tabhartas-bidh measgta le h-oladh agus tioram, le mic Aaroin uile, leis gach aon *uiread* r'a chéile.

11 Agus *is e* so lagh iobairt nan tabhartas-sìth a bheir e seachad do'n Tighearna:

12 Ma's ann mar bhreith-buidheachais a bheir e seachad i, an sin bheir e seachad maille ris an iobairt-bhuidheachais breacagan neo-ghoirtichte measgta le h-oladh, agus dearnagan neo-ghoirtichte ungta le h-oladh, agus breacagan measgta le h-oladh, do phlùr mìn, air a ròstadh

13 A thuilleadh air na breacagaibh, bheir e seachad *mar* a thabhartas, aran goirtichte, maille ri iobairt-buidheachais a thabhartasan-sìth.

14 Agus dh'i *sin* bheir e seachad aon as an tabhartas iomlan, *mar* thabhartas-togta do'n Tighearna, *agus* bithidh e leis an t-sagart a chrathas fuil nan tabhartas-sìth.

15 Agus ithear fe il iobairt a thabhartasan-sìth air son breith buidheachais, san là sin féin anns ann dthoirear seachad i: cha 'n fhàg e bheag dhith gu maduinn.

16 Ach ma's bòid no tabhartas deònach iobairt a thabhartais, san là sin féin anns an dthoir e seachad iobairt, ithear i: agus air an là màireach mar an ceudna ithear a fuigheall.

17 Ach loisgear le teine fuigheall feòla na h-iobairt air an treas là.

18 Agus ma dh'ithear idir a' bheag do fheoil iobairt a thabhartasan-sìth air an treas là, cha ghabhar i, ni mò a mheasar i dha-san a bheir seachad i: bithidh i na gràinealachd, agus an t-anam a dh'itheas dhith giùlainidh e 'aingidheachd.

19 Agus an fheoil a bheanas ri *ni* sam bith neo-ghlan, cha'n ithear i, loisgear i le teine: agus a thaobh na feola, gach neach a bhios glan, ithidh e dhith.

20 Ach an t-anam a dh'itheas do fheoil iobairt nan tabhartas-sìth, a *bhuineas* do'n Tighearna, agus a neo-ghloine air, gearrar eadhon an t-anam sin as o 'shluagh.

21 Agus an t-anam a bheanas ri *ni* sam bith neo-ghlan, ri néo-ghloine duine, no ri ainmhidh neo-ghlan, no ri gràinealachd neo-ghloin sam bith, agus a dh'itheas do fheoil iobairt nan tabhartas-sìth a *bhuineas* do'n Tighearna, sgathar eadhon an t-anam sin as o 'shluagh[b].

22 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

23 Labhair ri cloinn Israeil, ag ràdh, Saill sam bith daimh, no caorach, no gaibhre, cha 'n ith sibh.

24 Agus feudar saill ainmhidh a gheibh bàs leis féin[c], agus saill an ainmhidh sin a reubar le fiadh-bheathaichibh, a ghnàthachadh gu feum sam bith eile; ach cha'n ith sibh idir dhith:

25 Oir ge b'e dh'itheas saill o'n ainmhidh sin d'an dthoir daoine seachad iobairt a loisgear le teine do'n Tighearna, gearrar eadhon an t-anam sin a dh'itheas *dhith* as o 'shluagh.

26 Agus cha'n ith sibh gnè sam bith fola, ma's ann do eunaibh no do ainmhidh, ann an aon air bith d'ar n-àiteachaibh-còmhnuidh.

27 Gach anam a dh'itheas gnè sam bith fola, gearrar eadhon an t-anam sin as o 'shluagh.

28 Agus

[a] *aigheann.* [b] *bho na phobul.* [c] *cairbh.*

28 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,
29 Labhair ri cloinn Israeil, ag ràdh, Esan a bheir seachad ìobairt a thabhartasan-sìth do'n Tighearna, bheir e leis a thabhartas a dh'ionnsuidh an Tighearna, do ìobairt a thabhartasan-sìth.
30 Bheir a làmhan féin leo tabhartasan an Tighearn a bheirear suas le teine, an t-saill maille ris an uchd, so bheir e leis, a chum gu'n luaisgear an t-uchd *mar* thabhartas-luaisgte an làthair an Tighearna.
31 Agus loisgidh an sagart an t-saill air an altair: ach bithidh an t-uchd le Aaron agus le 'mhic.
32 Agus an slinnean deas bheir sibh do'n t-sagart *mar* thabhartas-togta, do ìobairtibh bhur tabhartasan-sìth.
33 Aige-san do mhic Aaroin a bheir suas fuil nan tabhartas-sìth, agus an t-saill, bithidh an slinnean deas mar *a* chuibhrionn.
34 Oir ghabh mi an t-uchd luaisgte agus an slinnean togta o chloinn Israeil, do ìobairtibh an tabhartasan-sìth, agus thug mi iad do Aaron an sagart, agus d'a mhic le reachd sìorruidh o mheasg chloinn Israeil.
35 *Is e* so *cuibhrionn* ungaidh a chuid mac, do thabhartasaibh an Tighearn a bheirear suas le teine, san là anns an d'thug e a làthair iad a fhrithealadh do'n Tighearn ann an dreuchd an t sagairt:
36 A dh'àithn an Tighearn a thoirt dhoibh o chloinn Israeil, san là anns an d'ung e iad, le reachd sìorruidh, air feadh an ginealacha.
37 *Is e* so lagh na h-ìobairt-loisgte, an tabhartais-bhìdh, agus na h-ìobairt-pheacaidh, agus na h-ìobairt-eusaontais, agus nan coisreagadh, agus ìobairte nan tabhartas-sìth:
38 A dh'àithn an Tighearna do Mhaois ann an sliabh Shinai, san là anns an d'àithn e do chloinn Israeil an tabhartasan a thoirt seachad do'n Tighearn ann am fàsach Shinai.

CAIB. VIII.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,
2 Thoir leat Aaron agus a mhic maille ris, agus an trusgan [a] *naomha*, agus an oladh-ungaidh, agus tarbh mar an ìobairt-pheacaidh, agus dà reithe, agus bascaid do aran neoghoirtichte.
3 Agus cruinnich an coimhthional uile an ceann a' chéile gu dorus pàilliuin a' choimhthionail.
4 Agus rinn Maois mar a dh'àithn an Tighearna dha, agus chruinnicheadh an coimhthionail r'a chéile gu dorus pàilliuin a' choimhthionail.
5 Agus thubhairt Maois ris a' choimhthional, *Is e* so an nì a dh'àithn an Tighearn a dheanamh.
6 Agus thug Maois Aaron agus a mhic leis, agus dh'ionnail e iad le h-uisge.
7 Agus chuir e air an còta, agus chrioslaich se e leis a' chrios, agus dh'eudaich se e leis an fhalluing, agus chuir e 'n ephod air, agus chrioslaich se e le crios rìomhach na h-ephoid, agus cheangail e ris *i* leis.
8 Agus chuir e 'n uchd-éididh air; agus chuir e anns an uchd-éididh an Urim agus an Tummim.
9 Agus chuir e 'n crùn-sagairt air a cheann; mar an ceudna air a' chrùn-sagairt, *eadhon* air a' chuid beoil deth chuir e 'n leachd òir, an crùn naomha, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.
10 Agus ghabh Maois an oladh-ungaidh, agus dh'ung e 'm pàilliun agus gach *nì* a *bha* ann, agus naomhaich e iad.
11 Agus chrath e *cuid* dhith air an altair seachd uairean, agus dh'ung e 'n altair, agus a soithichean uile, araon [b] an soitheach-ionnlaid agus a chas, a chum an naomhachadh.
12 Agus dhòirt e do'n oladh-ungaidh air ceann Aaroin, agus dh'ung se e, chum a naomhachadh.
13 Agus thug Maois mic Aaroin leis, agus chuir e còtaichean orra, agus chrioslaich e iad le criosaibh, agus chuir e boineidean orra, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.
14 Agus thug e leis an tarbh air son na h-ìobairt pheacaidh, agus chuir Aaron agus a mhic an làmhan air

ceann

[a] *éididh.* [b] *an dà chuid.*

ceann an tairbh air son na h-ìobairt-pheacaidh.

15 Agus mharbh se *e;* agus ghabh Maois an fhuil, agus chuir e *i* air adhaircibh na h-altarach m'an cuairt le 'mheur, agus ghlan e 'n altair; agus dhòirt e 'n fhuil aig bun na h-altarach, agus naomhaich e i, a dheanamh réite oirre.

16 Agus ghabh e 'n ìgh uile a *bba* air a' mhionach, agus an scairt *os cionn* nan àinean, agus an dà àra, agus an ìgh; agus loisg Maois *iad* air an altair.

17 Ach an tarbh agus a sheiche, agus 'fheoil, agus 'aolach [a], loisg e le teine an taobh a muigh do'n champ, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

18 Agus thug e leis an reithe *air son* na h-ìobairt-loisgte: agus chuir Aaron agus a mhic an làmhan air ceann an reithe.

19 Agus mharbh se *e;* agus chrath Maois an fhuil air an altair m'an cuairt.

20 Agus ghearr e 'n reithe na mhìribh, agus loisg Maois an ceann, agus na mìrean, agus an t-saill.

21 Agus nigh e am mionach agus na casan ann an uisge; agus loisg Maois an reithe uile air an altair: *b*'ìobairt-loisgte e, chum fàile cùbhraidh: tabhartas air a thoirt suas le teine do'n Tighearna, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

22 Agus thug e leis an reithe eile, reithe a' choisreagaidh: agus chuir Aaron agus a mhic an làmhan air ceann an reithe.

23 Agus mharbh se *e;* agus ghabh Maois *cuid* d'a fhuil, agus chuir e *i* air bàrr cluaise deise Aaroin, agus air ordaig a làimhe deise, agus air ordaig a choise deise.

24 Agus thug e leis mic Aaroin, agus chuir Maois *cuid* do'n fhuil air bàrr an cluaise deise, agus air ordaig an làimhe deise, agus air ordaig an coise deise [b]: agus chrath Maois an fhuil air an altair m'an cuairt.

25 Agus ghabh e 'n t-saill, agus an t-earball, agus an ìgh uile a *bba* air a' mhionach, agus an scairt *os cionn* nan àinean, agus an dà àra [c] agus an ìgh, agus an slinnean deas.

26 Agus a bascaid an arain neo-ghoirtichte, a *bba* an làthair an Tighearna, ghabh e aon bhreacag neo-ghoirtichte, agus aon bhreacag do aran le h-oladh, agus aon dearnagan [d], agus chuir e *iad* air an t-saill, agus air an t-slinnean deas:

27 Agus chuir e 'n t-iomlan air làmhan Aaroin, agus air làmhan a chuid mac [e], agus luaisg e iad mar thabhartas-luaisgte an làthair an Tighearna.

28 Agus ghabh Maois iad bhàrr an làmh, agus loisg e *iad* air an altair os cionn na h-ìobairt-loisgte; *bu* tabhartas-coisreagaidh iad a chum fàile cùbhraidh: tabhartas air a thoirt suas le teine do'n Tighearna.

29 Agus ghabh Maois an t-uchd, agus luaisg se e mar thabhartas-luaisgte an làthair an Tighearna: b'e cuibhrionn Mhaois e do reithe a' choisreagaidh; mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

30 Agus ghabh Maois *cuid* do'n oladh-ungaidh, agus do'n fhuil a *bba* air an altair, agus chrath e air Aaron i; air 'eudach, agus air a mhic, agus air eudach a mhac maille ris: agus naomhaich e Aaron, *agus* 'eudach, agus a mhic, agus eudach a mhac maille ris.

31 Agus thubhairt Maois ri h-Aaron, agus r'a mhic, Bruichibh an fheoil aig dorus pàilliuin a' choimhthionail: agus ann an sin ithibh i leis an aran a *ta* ann am bascaid a' choisreagaidh [f], mar a dh'àithn mise, ag ràdh, Ithidh Aaron agus a mhic i.

32 Agus an nì sin a dh'fhàgar do'n fheoil agus do'n aran, loisgidh sibh le teine.

33 Agus air dorus pàilliuin a' choimhthionail cha dthéid sibh a mach *rè* sheachd laithean, gus am bi laithean bhur coisreagaidh air an crìochnachadh [g]: oir rè sheachd laithean coisrigidh e sibh.

[a] *inneir, a ghaorr.* [b] *air ordagaibh an làmha deasa, agus air ordagaibh an cosa deasa.* [c] *an dà àrainn* [d] *abhlan; wafer.* Sasg. [e] *air làmhan a mhac.* [f] *nan* nithe *coisrigte.* [g] *gus an là anns an crìochnaich laithe an bhur coisreagaidh.* Eabh.

34 Mar a rinn e 'n diugh, mar ſin dh'àithn an Tighearna bhi deanta, dheanamh réite air bhur ſon.

35 Uime ſin aig dorus pàilliuin a' choimhthionail fanaidh ſibh a là agus a dh'oidhche, rè ſheachd laithean, agus coimhididh [a] ſibh freaſdal [b] an Tighearna, chum nach faigh ſibh bàs: oir is ann mar ſin a thugadh àithne dhomhſa.

36 Agus rinn Aaron agus a mhic na h-uile nithe dh'àithn an Tighearna le làimh Mhaois.

CAIB. IX.

AGUS air an ochdamh là ghairm Maois air Aaron agus air a mhic, agus air ſeanairean Iſraeil;

2 Agus thubhairt e ri h-Aaron, Gabh dhuit féin laogh òg chum ìobairt-pheacaidh, agus reithe chum ìobairt-loiſgte, gun ghaoid, agus thoir ſeachad *iad* an làthair an Tighearna.

3 Agus labhraidh tu ri cloinn Iſraeil, ag ràdh, Gabhaibhſa meann do na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh; agus laogh, agus uan, *le chéile* do'n cheud bhliadhna [c], gun ghaoid, a chum ìobairt-loiſgte;

4 Mar an ceudna tarbh agus reithe, mar thabhartaſan-ſìth, a chum an ìobradh an làthair an Tighearna; agus tabhartas-bìdh meaſgta le h-oladh: oir an diugh foillſichidh an Tighearn e féin dhuibh.

5 Agus thug iad *an ni ſin* a dh'àithn Maois gu beulaobh pàilliuin a' choimhthionail: agus thàinig an coimhthional uile 'm ſagus, agus ſheas iad an làthair an Tighearna.

6 Agus thubhairt Maois, *Is e* ſo an ni a dh'àithn an Tighearna gu'n deanadh ſibh: agus foillſichear glòir an Tighearna dhuibh.

7 Agus thubhairt Maois ri h-Aaron, Imich a dh'ionnſuidh na h-altarach, agus ìobair t'ìobairt-pheacaidh, agus t'ìobairt-loiſgte, agus dean réite air do ſhon féin, agus air ſon an t-ſluaigh: agus thoir ſuas tabhartas an t-ſluaigh, agus dean réite air an ſon, mar a dh'àithn an Tighearna.

8 Chaidh Aaron uime ſin a dh'ionnſuidh na h-altarach, agus mharbh e laogh na h-ìobairt-pheacaidh, a *bha* air a ſhon féin.

9 Agus thug mic Aaroin an fhuil d'a ionnſuidh; agus thum [d] e 'mheur ſan fhuil, agus chuir e air adhaircibh na h-altarach *i*, agus dhòirt e mach an fhuil aig bun na h-altarach.

10 Ach an t-ſaill agus na h-airnean, agus an ſcairt os cionn àinean na h-ìobairt pheacaidh, loiſg e air an altair, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

11 Agus an fheoil agus an t-ſeiche loiſg e le teine, an taobh a muigh do'n champ.

12 Agus mharbh e 'n ìobairt-loiſgte; agus thug mic Aaroin an fhuil d'a ionnſuidh, agus chrath e i air an altair m'an cuairt.

13 Agus thug iad an ìobairt-loiſgte d'a ionnſuidh, maille r'a mìribh, agus an ceann: agus loiſg e *iad* air an altair.

14 Agus nigh e am mionach agus na caſan, agus loiſg e *iad* air an ìobairt-loiſgte air an altair.

15 Agus thug e leis tabhartas an t-ſluaigh, agus ghabh e meann na h-ìobairt-pheacaidh [e] a *bha* air ſon an t-ſluaigh, agus mharbh ſe e, agus thug e ſuas e air ſon peacaidh, mar a' cheud ìobairt.

16 Agus thug e leis an ìobairt-loiſgte, agus dh'ìobair e i do réir a' ghnàtha [f].

17 Agus thug e leis an tabhartas-bìdh, agus lìon e 'dhorn as, agus loiſg e air an altair *e*, a thuilleadh air ìobairt-loiſgte na maidne.

18 Mharbh e mar an ceudna an tarbh, agus an reithe, mar ìobairt nan tabhartaſan-ſìth, a *bha* air ſon an t-ſluaigh; agus thug mic Aaroin d'a ionnſuidh an fhuil, agus chrath e i air an altair m'an cuairt.

19 Agus ſaill an tairbh, agus earball an reithe, agus an *ni* ſin a tà còmhdachadh *a' mhionaich*, agus na h-airnean, agus an ſcairt *os cionn* nan àinean.

20 Agus

[a] *gleidhidh.* [b] *cùram, orduigh.* [c] *bliadhna dh'aois.* [d] *thom, thog.* [e] *a' ghabhar a bha 'na h-ìobairt-pheacaidh.* [f] *a réir an orduigh, mar bu chòir.*

20 Agus chuir iad an t-saill air na h-uchdaibh, agus loisg e 'n t-saill air an altair:

21 Agus na h-uchdan agus an slinnean deas luaisg Aaron *mar* thabhartas-luaisgte an làthair an Tighearna, mar a dh'àithn Maois.

22 Agus thog Aaron suas a làmha chum an t-sluaigh, agus bheannaich e ad; agus thàinig e nuas o iobradh na h-iobairt-pheacaidh, agus na h-iobairt-loisgte, agus nan iobairtean-sìth.

23 Agus chaidh Maois agus Aaron a steach do phàilliun a' choimhthionail, agus thàinig iad a mach, agus bheannaich iad an sluagh: agus dh'fhoillsicheadh glòir an Tighearna do'n t-sluagh uile.

24 Agus thàinig teine a mach o làthair an Tighearna, agus loisg e air an altair an iobairt-loisgte, agus an t-saill: agus chunnaic an sluagh uile e, agus rinn iad gàir, agus thuit iad air an aghaidh.

CAIB. X.

AGUS ghabh Nadab agus Abihu, mic Aaroin, gach fear diubh a thùisfeir[a], agus chuir iad teine ann, agus chuir iad tùis air, agus thug iad suas am fianuis an Tighearna teine coimheach, nach d'àithn e dhoibh.

2 Agus chaidh teine mach o làthair an Tighearna, agus loisg e suas[b] iad, agus fhuair iad bàs an làthair an Tighearna.

3 An sin thubhairt Maois ri h-Aaron, *Is e* so *an ni* a labhair an Tighearn, ag ràdh, Annta-san a thig am fagus dhomh naomhaichear mise, agus an làthair an t-sluaigh uile glòraichear mi. Agus dh'fhan Aaron na thosd.

4 Agus ghairm Maois air Misael agus air Elsaphan, mic Udsiel bràthar athar Aaroin, agus thubhairt e riu, Thigibh am fagus, giùlainibh bhur braithre o fhianuis an *ionaid* naomha mach as a' champ.

5 Agus chaidh iad am fagus, agus ghiùlain iad nan còtaichibh iad a mach as a' champ, mar a thubhairt Maois.

6 Agus thubhairt Maois ri h-Aaron, agus ri h-Eleasar, agus ri h-Itamar a mhic, Na rùisgibh bhur cinn, agus na reubaibh bhur n eudach, an t-eagal gu'm faigh sibh bàs, agus an t-eagal gu'n dthig fearg air an t-sluagh uile; ach deanadh bhur bràithre, tigh Israeil uile, tuireadh[c] air son an losgaidh a las an Tighearna.

7 Agus cha dthéid sibh a mach air dorus pàilliuin a' choimhthionail, an t-eagal gu'm faigh sibh bàs: oir *a ta* oladh-ungaidh an Tighearn oirbh. Agus rinn iad a réir focail Mhaois.

8 Agus labhair an Tighearna ri h-Aaron, ag ràdh,

9 Na h-òl fion no deoch làidir[d], thu féin, no do mhic maille riut, an uair a théid sibh a steach do phàilliun a' choimhthionail, an t-eagal gu'm faigh sibh bàs: *bithidh* e na reachd bith-bhuan air feadh bhur ginealacha:

10 Agus a chum gu'n cuir sibh eadar-dhealachadh eadar naomha agus mi-naomha, agus eadar neo-ghlan agus glan:

11 Agus a chum gu'n teagaisg sibh do chloinn Israeil na h orduighean[e] uile a labhair an Tighearna riu le làimh Mhaois.

12 Agus labhair Maois ri h-Aaron, agus ri h-Eleasar, agus ri h-Itamar, a mhic a dh'fhan *beo*, Gabhaibh an tabhartas-bìdh a dh'fhàgadh do thabhartasaibh an Tighearn air an toirt suas le teine, agus ithibh e gun ghoirteachadh làimh ris an altair: oir *a ta* e ro-naomha.

13 Agus ithidh sibh e san ionad naomha, a chionn *gur* e do dhlighe e[f], agus dlighe do mhac, do thabhartasaibh an Tighearn air an toirt suas le teine: oir is ann mar sin a dh'àithneadh dhomh-sa.

14 Agus an t-uchd luaisgte agus an slinnean togta ithidh sibh ann an ionad glan; thu féin, agus do mhic, agus do nigheana maille riut: oir is *iad* do dhlighe iad, agus dlighe do mhac, *a* thugadh dhoibh a iobairtibh tabhartasan-sìth chloinn Israeil.

15 An slinnean togta, agus an t-uchd luaisgte, maille ris na tabhartasaibh

[a] *a shoitheach-tùis.* [b] *dh'ith e suas.* Eabh. [c] *caoidh.* [d] *làdair.* [e] *statuis.* [f] *cuibhrionn* *còir.*

aibh air an toirt suas le teine do'n
t-saill, bheir iad leo gus *a* luasgadh
mar thabhartas-luaisgte an làthair an
Tighearna; agus is leats' e, agus le d'
mhic maille riut, le reachd bith-
bhuan, mar a dh'àithn an Tighearna.
16 Agus dh'iarr Maois gu dìchiol-
lach meann na h-ìobairt-pheacaidh,
agus feuch, loisgeadh e: agus bha
fearg aige ri h-Eleasar agus ri h-Ita-
mar, mic Aaroin, *a* dh'fhàgadh *beo*,
ag ràdh,
17 C'ar son nach d'ith sibh an ìo-
bairt-pheacaidh san ionad naomha, do
bhrìgh gu *bheil* i ro-naomha, agus
thug *Dia* dhuibh i a ghiùlan aingidh-
eachd a' choimhthionail, a dheanamh
réite air an son am fianuis an Tigh-
earna?
18 Feuch, cha d'thugadh a fuil a
steach an taobh a stigh do'n *ionad*
naomha: bu chòir dhuibh gu deimhin
a h-itheadh san *ionad* naomha, mar a
dh'àithn mise.
19 Agus thubhairt Aaron ri Maois,
Feuch, an diugh thug iad suas an ìo-
bairt-pheacaidh, agus an ìobairt-loisgte,
an làthair an Tighearna; agus thachair
an leithidean sin do nithibh dhomhsa;
agus nam bithinn air itheadh na h-ìo-
bairt-pheacaidh an diugh, an gabhta
rithe an làthair an Tighearna?
20 Agus an uair a chuala Maois
sin, bha e toilichte.

C A I B. XI.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois, agus ri h-Aaron, ag
ràdh riu,
2 Labhraibh ri cloinn Israeil, ag
ràdh, *Is iad* so na beathaichean a
dh'itheas sibh do na h-uile ainmhidh-
ibh a *ta* air an talamh.
3 Gach aon a roinneas an ionga[a],
agus a sgoilteas an ladhar[b], agus a
chnàmhas[c] a' chìr, am measg nan
ainmhidhean, sin ithidh sibh.
4 Ach iad so cha'n ith sibh dhiubh-
san a chnàmhas a' chìr, no dhiubhsan
a roinneas an ionga: *mar* an càmhal,
a chionn ge do chnàmh e a' chìr, nach
roinn e an ionga[d]; neo-ghlan *tha* e
dhuibh.
5 Agus an coinean, a chionn ge do
chnàmh e a' chìr, nach roinn e an
ionga; neo-ghlan *tha* e dhuibh.
6 Agus a' mhaigheach[e], a chionn
ge do chnàmh i a' chìr, nach roinn i
an ionga; neo-ghlan *tha* i dhuibh.
7 Agus a' mhuc, a chionn ge do
roinn i an ionga, agus ge do sgoilt i
an ladhar, gidheadh nach cnàmh i a'
chìr; neo-ghlan *tha* i dhuibh.
8 D'am feoil cha'n ith sibh, agus
r'an cairbh[f] cha bhean sibh; neo-
ghlan *tha* iad dhuibh.
9 Iad so ithidh sibh, dhiubhsan uile
a *ta* sna h-uisgeachaibh: gach *ni* air
am bheil itean[g] agus lannan anns na
h-uisgeachaibh, anns na cuantaibh[h],
agus anns na h-aibhnichibh, iad sin
ithidh sibh.
10 Agus gach *ni* air nach 'eil itean
no lannan anns na cuantaibh, agus
anns na h-aibhnichibh, do gach *ni* a
ghluaiseas sna h-uisgeachaibh, agus
do gach ni beo[k], a *ta* sna h-uisg-
eachaibh; nan gràineileachd *bithidh*
iad dhuibh:
11 Eadhon nan gràineileachd bithidh
iad dhuibh: d'am feoil cha'n ith sibh,
agus d'an cairbh gabhaidh sibh gràin.
12 Gach *ni* air nach 'eil itean no
lannan anns na h-uisgeachaibh, na
ghràineileachd *bithidh* sin duibh.
13 Agus dhiubh so gabhaidh sibh
gràin am measg nan eun[l], cha'n ithear
iad, nan gràineileachd *tha* iad: an
iolair[m], agus an cnàimh-bhristeach[n],
agus an iolair-uisge[o],
14 Agus am fang[p], agus an cla-
mhan[q] a réir a ghnè,
15 Gach fitheach a réir a ghnè;
16 Agus a' chailleach-oidhche[r], a-
gus

[a] *crodhan.* [b] *a sgoilteas sgoltadh nan iongan.* Eabh. [c] *chagnas.* Eir. [d] *a chionn gu'n cnàmh e a' chìr, ach nach roinn e 'n ionga.* [e] *a' mhoigheach, an gearr-fhiadh.* [f] *closach, conablach, corp marbh.* [g] *sgiathan; eiteach.* Eir. [h] *fairgibh.* [k] *anam beo.* Eabh. [l] *eunlaith.* [m] *am fìreun.* [n] *iolair mhòr na mara; ossifrage.* Sasg. *peres.* Eabh. [o] *an t-iasgair cairneach; ghadsniah.* Eabh. [p] *preachan ingneach, preachan crios-ach.* Eir. *vulture.* Sasg. *doah.* Eabh. [q] *kite.* Sasg. *aiah.* Eabh. [r] *a' chombachag.*

agus an t-seabhag-oidhche[a], agus a' chuach[b], agus an t-seabhag[c] a réir a gnè,

17 Agus a' chailleach-oidhche bheag[d], agus an scarbh[e], agus a' chailleach-oidhche mhòr[f],

18 Agus an eala[g], agus am pelican, agus an iolair-fhionn[h],

19 Agus a' chorra-bhàn, *agus* a' chorra-ghlas[k] a réir a gnè, agus an t-adharcan-luachrach[l], agus an ialtag.

20 *Bithidh* gach ni snàigeach a dh'itealaicheas[m], *agus* a dh'imicheas air cheithir *chasan*, na ghràineileachd dhuibh.

21 Ach iad so feudaidh sibh itheadh, do gach ni snàigeach[n] a dh'itealaicheas, *agus* a dh'imicheas air cheithir *chasan*, aig am bheil luirgeannan os cionn a throidhean[o], gu leum leo air an talamh.

22 *Eadhon* iad so dhiubh feudaidh sibh itheadh: an locust a réir a ghnè, agus an locust maol a réir a ghnè, agus an daol[p] a réir a ghnè, agus an leumnach-uaine[q] a réir a ghnè.

23 Ach *bithidh* gach ni eile snàigeach a dh'itealaicheas, aig am bheil ceithir chasan, na ghràineileachd dhuibh.

24 Agus air an son sin bithidh sibh neo-ghlan: gach neach a bheanas r'an cairbh, bithidh e neo-ghlan gu feasgar.

25 Agus ge b'e air bith a ghiùlaineas *a' bheag* d'an cairbh, nighidh e 'eudach, agus bithidh e neo-ghlan gu feasgar.

26 Bithidh *cairbh* gach ainmhidh a roinneas an ionga, agus nach sgoilt an ladhar, agus nach cnàmh a' chìr, neo-ghlan dhuibh: gach neach a bheanas riu, bithidh e neo-ghlan.

27 Agus ge b'e air bith a dh'imicheas air a mhàgaibh am measg nan uile bheathaichean a dh'imicheas air cheithir *chasan*, *bithidh* e neo-ghlan dhuibh; gach neach a bheanas r'an cairbh, bithidh e neo-ghlan gu feasgar.

28 Agus esan a ghiùlaineas an cairbh, nighidh e 'eudach, agus bithidh e neo-ghlan gu feasgar; neo-ghlan *tha* iad dhuibh.

29 Agus *bithidh* iad so neo-ghlan duibh am measg nan nithe snàigeach a shnàigeas air an talamh: an eas[r], agus an luch, agus an crocodeil[s] a réir a ghnè,

30 Agus am firead[t], agus an camelion[u], agus an arc-luachrach[v], agus an t-seilcheag[w], agus am famh[x].

31 *Tha* iad sin neo-ghlan duibh nam measg-san uile a shnàigeas: gach neach a bheanas riu 'nuair a bhios iad marbh, bithidh e neo-ghlan gu feasgar.

32 Agus gach ni air an tuit *a h-aon* diubh, 'nuair a bhios e marbh, bithidh e neo-ghlan; co dhiubh is soitheach fiodha sam bith e, no eudach, no croicionn, no sac: seumaidh gach soitheach anns an deanar obair sam bith, a bhi air a chur ann an uisge, agus bithidh e neo-ghlan gu feasgar: an sin bithidh e glan.

33 Agus *a thaobh* gach soithich creadha anns an tuit *a h-aon* diubh, bithidh gach ni a *ta* ann neo-ghlan; agus brisidh sibh e.

34 Do gach uile bhiadh a dh'ithear, bithidh *am biadh sin* air an dthig uisge, neo-ghlan; agus bithidh gach deoch a dh'òlar ann an soitheach sam bith, neo-ghlan.

35 Agus bithidh gach *ni* air an tuit *a' bheag* d'an cairbh, neo-ghlan; *ma's* àmhuinn *e*, no coireacha[aa], brisear sìos iad: neo-ghlan *tha* iad, agus neo-ghlan bithidh iad dhuibh.

36 Gidheadh bithidh fuaran no tobar[bb], *anns am bi* pailteas uisge, glan:

[a] *tachmas*. Eabh. [b] *a chuthag; shachaph*. Eabh. [c] *an seobhag: coos*. Eabh. [e] *shalach*. Eabh. [f] *ianshuph*. Eabh. [g] *tinshemeth*. Eabh. [h] *iolair-thimchiollach; gier-eagle*. Sasg. racham. Eabh. [k] *a' churr; anapah*. Eabh. [l] *upupa; ducipath*. Eabh. [m] *gach creutair sgiathach a ghluaiseas*. [n] *snàigheach*. Eir. [o] *throighean, spàgan*. [p] *salegham*. Eabh. [q] *am fionnan feoir; chagab*. Eabh. [r] *an nas, an easog; choled*. Eabh. [s] *uilebheist an fhàsaich; land-crocodile*. Sasg. *tzab*. Eabh. [t] *ferret*. Sasg *anakah*. Eabh. [u] *coach*. Eabh. [v] *letaah*. Eabh. [w] *chomet*. Eabh. [x] *tinshameth*. Eabh. [aa] *àitean air son ghoileas phreisean*. [bb] *tiobar, slochd*.

ach bithidh an ni sin a bheanas r'an
cairbh, neo-ghlan.
37 Agus ma thuiteas *a' bheag* d'an
cairbh air siol-cuir *sam* bith, a bhios
ri chur, *bithidh* e glan.
38 Ach ma chuirear uisge *sam bith*
air an t-siol, agus gu'n tuit *a' bheag*
d'an cairbh air, neo-ghlan *bithidh* e
dhuibh.
39 Agus ma bhàsaicheas ainmhidh
sam bith d'am feud sibh itheadh,
bithidh esan a bheanas r'a chairbh
neo-ghlan gu feasgar.
40 Agus esan a dh'itheas d'a
chairbh, nighidh e 'eudach, agus bith-
idh e neo-ghlan gu feasgar: esan mar
an ceudna a ghiùlaineas a chairbh,
nighidh e 'eudach, agus bithidh e neo-
ghlan gu feasgar.
41 Agus *bithidh* gach ni snàigeach
a shnàigeas air an talamh, na ghràin-
eileachd: cha'n ithear e.
42 Gach ni a dh'imicheas air a'
bhroinn, agus gach ni a dh'imicheas
air cheithir *chasan*, no ge b'e air bith
aig am bheil tuille chasan am measg
nan uile nithe snàigeach a shnàigeas
air an talamh; cha'n ith sibh iad, oir
is gràineileachd iad.
43 Cha dean sibh sibh féin gràineil
le ni snàigeach sam bith a shnàigeas,
cha mhò ni sibh sibh féin neo-ghlan
leo, air chor is gu'n truaillear sibh
leo.
44 Oir *is* mise an Tighearna bhur
Dia: naomhaichidh sibh air an aobhar
sin sibh féin, agus bithidh sibh naomha;
oir *a ta* mise naomha: agus cha
truaill sibh sibh féin [a] le ni snàigeach
sam bith a shnàigeas air an talamh.
45 Oir *is* mise an Tighearn a thug
sibhse a mach a talamh na h-Eiphit, gu
bhi am Dhia agaibh: bithidh sibh-
se uime sin naomha, oir *a ta* mise
naomha.
46 *Is e* so lagh nan ainmhidhean,
agus nan eun, agus gach dùil [b] bheo a
ghluaiseas ann sna h-uisgeachaibh, a-
gus gach dùil a shnàigeas air an ta-
lamh:
47 A chur dealachaidh eadar an
neo-ghlan agus an glan, agus eadar
am beathach a dh'fheudar itheadh, a-
gus am beathach nach feudar itheadh.

CAIB. XII.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
2 Labhair ri cloinn Israeil, ag ràdh,
Ma dh'fhàsas bean torrach, agus gu'm
beir i mac; an sin bithidh i neo-ghlan
seachd laithean: a réir laithean *a*
dealachaidh air son a h-anfhainneachd [c]
bithidh i neo-ghlan.
3 Agus air an ochdamh là tim-
chioll-ghearrar feoil a roimh-chroicinn.
4 Agus fanaidh i an sin tri laithe
deug 'ar fhichead ann am fuil a glan-
aidh: cha bhean i ri ni naomha sam
bith, agus cha dthig i steach do'n
ionad naomha, gus an coimhlionar
laithean a glanaidh.
5 Ach ma bheireas i leanabh
nighinn, an sin bithidh i neo-ghlan dà
sheachduin, mar na dealachadh: agus
fanaidh i ann am fuil a glanaidh tri
fichead agus sè laithean.
6 Agus an uair a choimhlionar
laithean a glanaidh air son mic, no air
son nighinn; bheir i uan do'n cheud
bhliadhna chum iobairt-loisgte, agus
columan òg, no *eun* turtuir chum io-
bairt pheacaidh, gu dorus pàilliuin a'
choimhthionail, dh'ionnsuidh an t-sa-
gairt:
7 Agus bheir e seachad e an là-
thair an Tighearna, agus ni e réite air
a son, agus glanar i o ruidh [d] a fola.
Is e so an lagh air a son-sa a bheireas
mac no nighean.
8 Agus mur urrainn i uan a thoirt
leatha, an sin bheir i leatha dà thurtur,
no dà choluman òga; fear dhiubh chum
iobairt-loisgte, agus am fear eile chum
iobairt-pheacaidh; agus ni an sagart
réite air a son, agus bithidh i glan.

CAIB. XIII.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois agus ri h-Aaron, ag
ràdh,
2 'Nuair a bhios aig duine ann an
croicionn 'fheòla, atadh, no guirein [e],
no ball [f] soilleir, agus gu'm bi e ann
an

[a] *bhur n-anmanna.* Fabh. [b] *creutair.* [c] *laigse.* [d] *ruith,*
shertadh. [e] *sgab.* [f] *leus.*

an croicionn 'fheòla *cosmhuil* ri plàigh
luibhre; an sin bheirear e gu h-Aaron
an sagart, no gu h-aon d'a mhic na
sagartan.
3 Agus amhaircidh an sagart air
a' phlàigh ann an croicionn 'fheòla:
agus *an uair* a bhios am fionnadh sa'
phlàigh air tionndadh[a] gu bàn, agus
a bhios a' phlàigh r'a faicinn ni's
doimhne na croicionn 'fheòla; *is*
plàigh luibhre a th' ann: agus amhairc-
idh an sagart air, agus gairmidh e[b]
neo-ghlan e.
4 Ach ma *tha* am ball soilleir ann
an croicionn 'fheòla bàn, agus gun e
bhi r'a fhaicinn ni's doimhne na 'n
croicionn, agus gun 'fhionnadh bhi air
tionndadh gu bàn; an sin druididh an
an sagart a stigh *esan air am bheil* a'
phlàigh seachd laithean.
5 Agus amhaircidh an sagart air,
air an t-seachdamh là: agus feuch,
ma tha phlàigh na shealladh air stad,
agus gun a phlàigh bhi sgaoileadh sa'
chroicionn; an sin druididh an sagart
a stigh e seachd laithean eile.
6 Agus amhaircidh an sagart air a
rìs air an t-seachdamh là, agus feuch,
ma bhios a' phlàigh càil-eigin[c] dorcha,
agus nach 'eil a' phlàigh air sgaoileadh
sa' chroicionn, gairmidh an sagart glan
e: *cha 'n 'eil* ann *ach* guirein; agus
nighidh e 'eudach, agus bithidh e glan.
7 Ach ma sgaoil an guirein gu
mòr a mach sa' chroicionn, an déigh
dha bhi air 'fhaicinn leis an t-sagart a
chum a ghlanaidh; chithear e ris leis
an t-sagart.
8 Agus amhaircidh an sagart air,
agus feuch, *ma* tha 'n guirein air
sgaoileadh sa' chroicionn, an sin
gairmidh an sagart e neo-ghlan: *is*
luibhre *a th' ann*.
9 An uair a bhios plàigh luibhre
air duine, an sin bheirear e chum an
t-sagairt:
10 Agus amhaircidh an sagart *air*:
agus feuch, *ma tha* atadh bàn sa'
chroicionn, agus gu'n do thionndaidh
e am fionnadh gu bàn, agus *gu'm bheil*
feoil bheo dhearg san atadh;
11 Is seann luibhre a th'ann, ann
an croicionn 'fheòla, agus gairmidh an
sagart e neo-ghlan, agus cha druid e
stigh e, oir *tha* e neo-ghlan.
12 Agus ma bhriseas luibhre gu
mòr a mach sa' chroicionn, agus gu'n
còmhdaich[d] an luibhre croicionn *an
neach air am bheil* a' phlàigh uile o
'cheann gu 'throidh, ge b'e ball air an
amhairc an sagart;
13 An sin bheir an sagart fa'near:
agus feuch, *ma* chòmhdaich an luibhre
'fheoil uile, gairmidh e *esan* glan *air
am bheil* a' phlàigh: thionndadhadh
e uile gu bàn: *tha* e glan.
14 Ach an uair a bhios feoil dhearg
r'a faicinn air, bithidh e neo-ghlan.
15 Agus amhaircidh an sagart air
an fheoil dhearg, agus gairmidh e
neo-ghlan e; oir tha 'n fheoil dhearg
neo-ghlan: *is* luibhre a th' ann.
16 Ach ma thig an fheoil dhearg
air ais a rìs, agus gu'n tionndadhar gu
bàn i, thig e chum an t-sagairt;
17 Agus amhaircidh an sagart air:
agus feuch, ma tha phlàigh air tionn-
dadh gu bàn, an sin gairmidh an sa-
gart *esan* glan *air am bheil* a' phlàigh:
tha e glan.
18 An fheoil mar an ceudna anns
an robh, *eadhon* na croicionn, neascaid,
agus a leighiseadh,
19 Agus aig am bheil ann an àite
na neascaid atadh bàn, no ball soilleir
bàn, càil-eigin dearg, nochdar[e] do'n
t-sagart e;
20 Agus ma 'se 'nuair a chi an sa-
gart e, feuch, gu'm bheil e r'a fhaic-
inn ni's doimhne na'n croicionn, agus
'fhionnadh air a thionndadh gu bàn;
gairmidh an sagart neo-ghlan e: *is*
plàigh luibhre a *th'ann* air briseadh a
mach anns an neascaid.
21 Ach ma dh'amhairceas an sa-
gart air, agus feuch, *nach 'eil* fionnadh
bàn air bith ann, agus gun e ni's
doimhne na'n croicionn, ach càil-eigin
dorcha; an sin druididh an sagart
stigh e seachd laithean.
22 Agus ma tha e air sgaoileadh a
mach gu mòr sa' chroicionn, an sin
gairmidh an sagart e neo-ghlan; *is*
plàigh a th'ann.
23 Ach ma tha 'm ball soilleir air
stad na 'àite, gun e air sgaoileadh, *is*
neascaid

[a] *iompachadh, atharrachadh, caochladh.* [b] *cuiridh e 'n céill.* [c] *ni-eigin, raod-eigin.* [d] *cuibhrig, folaich.* [e] *feuchar, taisbeanar.*

neaſcaid loiſgeach a th'ann ; agus gairmidh an ſagart glan e.

24 No *ma bhios* feoil *air bith ann*, aig am bheil na croicionn loſgadh teth, agus gu'm bi anns an *fheoil* bheo a ta loſgadh ball bàn ſoilleir, càil-eigin dearg, no bàn ;

25 An ſin amhaircidh an ſagart air ; agus feuch, *ma* tha 'm fionnadh anns a' bhall ſhoilleir air tionndadh gu bàn, agus e r'a fhaicinn ni's doimhne na 'n croicionn ; *is* luibhre a th'ann air briſeadh a mach anns an loſgadh : uime ſin gairmidh an ſagart neo-ghlan e ; *is* plàigh luibhre a th'ann.

26 Ach ma dh'amhairceas an ſagart air, agus feuch *nach 'eil* fionnadh bàn air bith air a' bhall ſhoilleir, agus nach 'eil e ni's doimhne na'n croicionn eile, ach *gu bheil e* càil-eigin dorcha ; an ſin druididh an ſagart a ſtigh e ſeachd laithean.

27 Agus amhaircidh an ſagart air air an t-ſeachdamh là : *agus* ma tha e air ſgaoileadh a mach gu mòr ſa' chroicionn, an ſin gairmidh an ſagart neo-ghlan e ; *is* plàigh luibhre a th'ann.

28 Agus ma tha 'm ball ſoilleir air ſtad na 'àite, gun e air ſgaoileadh ſa' chroicionn, ach e càil-eigin dorcha ; *is* atadh o'n loſgadh a th'ann, agus gairmidh an ſagart glan e ; oir *is* leannachadh [a] a th'ann o'n loſgadh.

29 Ma tha aig duine no mnaoi plàigh air a' cheann, no air an fheuſaig ;

30 An ſin amhaircidh an ſagart air a' phlàigh ; agus feuch, ma tha i r'a faicinn ni's doimhne na 'n croicionn, agus fionnadh tana buidhe innte ; an ſin gairmidh an ſagart neo-ghlan e : *is* càrr thioram a th'ann, *eadhon* luibhre air a' cheann, no air an fheuſaig.

31 Agus ma dh'amhairceas an ſagart air plàigh na carra, agus feuch, nach *'eil* i r'a faicinn ni's doimhne na 'n croicionn, agus *nach 'eil* fionnadh dubh ſam bith innte ; an ſin druididh an ſagart a ſtigh eſan air *am bheil* plàigh na carra, ſeachd laithean.

32 Agus amhaircidh an ſagart air a' phlàigh air an t-ſeachdamh là, agus feuch, mur' eil a' chàrr air ſgaoileadh, agus nach 'eil fionnadh buidhe ſam bith innte, agus nach 'eil a' chàrr r'a faicinn ni's doimhne na'n croicionn ;

33 An ſin bearrar [b] e, ach a' chàrr cha bhearr e : agus druididh an ſagart a ſtigh *eſan air am bheil* a' charr, ſeachd laithean eile.

34 Agus air an t-ſeachdamh là amhaircidh an ſagart air a' chàrr : agus feuch, mur 'eil a' chàrr air ſgaoileadh ſa' chroicionn, no r'a faicinn ni's doimhne na'n croicionn ; an ſin gairmidh an ſagart glan e : agus nighidh e 'eudach, agus bithidh e glan.

35 Ach ma tha chàrr air ſgaoileadh gu mòr ſa' chroicionn an déigh [c] a ghlanaidh ;

36 An ſin amhaircidh an ſagart air, agus feuch, ma tha chàrr air ſgaoileadh ſa' chroicionn, cha 'n iarr an ſagart fionnadh buidhe : *tha* e neo-ghlan.

37 Ach ma tha chàrr na ſhealladh air ſtad, agus *ma tha* fionnadh dubh air fàs ſuas innte ; leighiſeadh [d] a' chàrr, tha e glan : agus gairmidh an ſagart glan e.

38 Ma bhios mar an ceudna aig duine no aig mnaoi ann an croicionn am feòla buill ſhoilleir, *eadhon* buill bhàna ſhoilleir ;

39 An ſin amhaircidh an ſagart : agus feuch, ma tha na buill ſhoilleir ann an croicionn am feòla odhar-bhàn [e], is leus [f] teas e air fàs ſa' chroicionn : *tha* e glan.

40 Agus an duine aig am bheil a cheann air faileadh, *tha* e maol : *gidheadh tha* e glan.

41 Agus eſan aig am bheil 'fhalt air faileadh do'n chuid ſin d'a cheann tha leth r'a eudan, *tha* e maol-bhathaiſeach : *gidheadh tha* e glan.

42 Agus ma tha *na* cheann maol, no *na* bhathais mhaoil creuchd bhàn càil-eigin dearg ; *is* luibhre a th'ann air fàs ſuas na cheann maol, no na bhathais mhaoil.

43 An ſin amhaircidh an ſagart air ; agus feuch, *ma tha* atadh no creuchda bàn dearg na mhaol cheann, no na mhaol bhathais, mar a nochdar an luibhre ann an croicionn na feòla ;

44 *Is*

[a] *feargachadh, loſadh, teas.* [b] *lomar.* [c] *an déis.* [d] *do leighiſeadh.* [e] *dorch-bhàn.* [f] *puſaid.*

44 *Is* duine lobhrach e, *tha* e neo-ghlan: gairmidh an sagart e neo-ghlan gu h-iomlan; *tha* a' phlàigh na cheann.

45 Agus an lobhar air *am bheil* a' phlàigh, reubar 'eudach, agus bithidh a cheann lomnochd, agus cuiridh e folach air a bhil[a] uachdraich, agus glaodhaidh e, Neo-ghlan, neo-ghlan.

46 Rè nan uile laithean *a bhios* a' phlàigh air, bithidh e salach; *tha* e neo-ghlan: gabhaidh e còmhnuidh na aonar; an taobh a muigh do'n champ *bithidh* 'ionad tàimh.

47 An t-eudach mar an ceudna anns am bheil plàigh na luibhre, ma's eudach olla *e*, no ma's eudach lìn *e*,

48 Ma's ann *a tha i* san dlùth, no san inneach[b], do lìon no dh'olainn, ma's ann an croicionn, no ann an ni sam bith deanta do chroicionn;

49 Agus ma tha phlàigh uaine no dearg[c] san eudach, no sa' chroicionn, aon chuid san dlùth no san inneach, no ann an ni sam bith *deanta* do chroicionn; *is* plàigh luibhre *a th'ann*, agus feuchar[d] *i* do'n t-sagart.

50 Agus amhaircidh an sagart air a' phlàigh, agus druididh e stigh *an ni anns a' bheil* a' phlàigh, seachd laithean.

51 Agus amhaircidh e air a' phlàigh air an t-seachdamh là: ma tha phlàigh air sgaoileadh san eudach, aon chuid san dlùth no san inneach, no ann an croicionn, *no* ann an obair sam bith deanta do chroicionn; *is* luibhre chnàmhanach a' phlàigh: *tha* e neo-ghlan.

52 Loisgidh e uime sin an t-eudach, ma's dlùth no inneach, ann an olainn no ann an lìon, no ni air bith *deanta* do chroicionn, anns a' bheil a' phlàigh: oir *is* luibhre chnàmhanach a th'ann; loisgear e san teine.

53 Agus ma dh'amhairceas an sagart, agus feuch, nach 'eil a' phlàigh air sgaoileadh san eudach, aon chuid san dlùth, no san inneach, no ann an ni sam bith *deanta* do chroicionn;

54 An sin àithnidh an sagart dhoibh an ni anns *a' bheil* a' phlàigh a nigheadh, agus druididh e stigh e seachd laithean eile.

55 Agus amhaircidh an sagart air a' phlàigh an déigh a nigheadh: agus feuch, mur do mhùth a' phlàigh a dath, agus mur do sgaoil a' phlàigh, *tha* e neo-ghlan; loisgidh tu san teine e: *is* cnàmhan an leth stigh e, *ma's* lom a stigh no muigh e.

56 Agus ma dh'amhairceas an sagart, agus feuch, *gu bheil* a' phlàigh càil-eigin dorcha an déigh a nigheadh: an sin reubaidh e as an eudach i, no as a' chroicionn, no as an dlùth, no as an inneach.

57 Agus ma tha i r'a faicinn fathast san eudach, aon chuid san dlùth, no san inneach, no ann an ni air bith *deanta* do chroicionn; *is plàigh* sgaoilteach a th'ann: loisgidh tu le teine an ni anns *a' bheil* a' phlàigh.

58 Agus an t-eudach, ma's dlùth, no inneach *e*, no ni air bith *deanta* do chroicionn, a nigheas tu, ma chaidh a' phlàigh asda, an sin nighear e an dara uair, agus bithidh e glan.

59 *Is e* so lagh plàigh na luibhre ann an eudach olla no lìn, anns an dlùth, no anns an inneach, no ann an ni sam bith *deanta* do chroicnibh, chum a ghairm glan, no 'ghairm neo-ghlan.

C A I B. XIV.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

2 Bithidh so na lagh do'n lobhar, ann an là a ghlanaidh: Bheirear e chum an t-sagairt;

3 Agus théid an sagart a mach as a' champ; agus amhaircidh an sagart, agus feuch, *ma* leighiseadh plàigh na luibhre anns an lobhar;

4 An sin àithnidh an sagart gu'n gabhar air a shon-san a tha gu bhi air a ghlanadh, dà eun bheo ghlan, agus fiodh seudair, agus scarlaid, agus hiosop.

5 Agus àithnidh an sagart gu marbhar aon do na h-eunaibh ann an soitheach creadha, os cionn uisge ruidh[e].

6 A thaobh an eoin bheo, gabhaidh se

[a] *lip.* [b] *'sa' chur.* [c] *ro-uaine no ro-dhearg.* Eabh. [d] *nochdar.*
[e] *ruith uisge, fìor uisge; uisge beo.* Eabh.

ſe e, agus am fiodh ſeudair, agus an ſcarlaid, agus an hioſop, agus tumaidh e iad agus an t-eun beo, ann am fuil an eoin a mharbhadh os cionn an uiſge ruidh,

7 Agus crathaidh e air-ſan a ta gu bhi air a ghlanadh o'n luibhre, ſeachd uairean, agus gairmidh e glan e, agus leigidh e as an t-eun beo air aghaidh na machrach.

8 Agus nighidh eſan a ta gu bhi air a ghlanadh 'eudach, agus bearraidh e dheth 'fhionnadh uile, agus nighidh ſe e féin ann an uiſge, chum gu'm bi e glan: agus 'na dhéigh ſin thig e ſteach do'n champ, agus fanaidh e mach as a' bhùth ſeachd laithean.

9 Ach air an t-ſeachdamh là, bearraidh e falt a chinn uile agus 'fheuſag, agus mailghean a ſhùl, eadhon 'fhionnadh uile bearraidh e dheth: agus nighidh e 'eudach, nighidh e mar an ceudna 'fheoil ann an uiſge, agus bithidh e glan.

10 Agus air an ochdamh là gabhaidh e dà uan fhirionn gun ghaoid; agus aon uan baiñionn do'n cheud bhliadhna gun ghaoid, agus tri deich earrannan [a] do phlùr mìn mar thabhartas-bìdh, meaſgta le h-oladh, agus aon log [b] ola.

11 Agus nochdaidh [c] an ſagart a ni glan *e*, an duine a ta r'a ghlanadh, agus na nithe ſin an làthair an Tighearna, *aig* dorus pàilliuin a' choimhthionail:

12 Agus gabhaidh an ſagart aon uan firionn, agus bheir e ſeachad e mar ìobairt-euſaontais, agus an log ola, agus luaiſgidh e iad mar thabhartas-luaiſgte, am fianuis an Tighearna.

13 Agus marbhaidh e 'n t-uan anns an àite ſam marbh e 'n ìobairt-pheacaidh agus an ìobairt-loiſgte, anns an ionad naomha: oir mar *is* leis an t-ſagart an ìobairt-pheacaidh, *is amhuil* ſin an ìobairt-euſaontais: *tha* i ro-naomha.

14 Agus gabhaidh an ſagart *cuid* do ſhuil na h-ìobairt-euſaontais, agus cuiridh an ſagart *i* air bàrr cluaiſe deiſe an neach a ta r'a ghlanadh, agus air ordaig a làimhe deiſe, agus air ordaig a choiſe deiſe.

15 Agus gabhaidh an ſagart *cuid* do'n log ola, agus dòirtidh e *i* ann an glaic a làimhe clìthe féin.

16 Agus tumaidh an ſagart a mheur deas ſan oladh *a ta* na làimh chli, agus crathaidh e *cuid* do'n ola le 'mheur, ſeachd uairean an làthair an Tighearna.

17 Agus do'n chuid eile do'n oladh *a ta* na làimh, cuiridh an ſagart air bàrr cluaiſe deiſe an neach a ta r'a ghlanadh, agus air ordaig a làimhe deiſe, agus air ordaig a choiſe deiſe, air fuil na h-ìobairt-euſaontais.

18 Agus fuigheall na h-ola, a *ta* an làimh an t-ſagairt, dòirtidh e air ceann an neach a ta r'a ghlanadh; agus ni an ſagart réite air a ſhon am fianuis an Tighearna.

19 Agus ìobraidh an ſagart an ìobairt-pheacaidh, agus ni e réite air a ſhonſan a ta r'a ghlanadh o 'neoghloine, agus na dhéigh ſin marbhaidh e 'n ìobairt-loiſgte.

20 Agus bheir an ſagart ſeachad an ìobairt-loiſgte, agus an tabhartas-bìdh air an altair: agus ni an ſagart réite air a ſhon, agus bithidh e glan.

21 Agus ma *tha* e bochd, agus nach urrainn e na h-uiread fhaghail [d]; an ſin gabhaidh e aon uan *chum* ìobairt-euſaontais gu bhi air a luaſgadh, a dheanamh réite air a ſhon, agus aon deicheamh earrann [e] do phlùr mìn meaſgta le h-ola, mar thabhartas-bìdh, agus log ola:

22 Agus dà thurtur, no dà cholumán òga, mar is urrainn e [f] fhaghail; agus bithidh fear dhiubh na ìobairt-pheacaidh, agus am fear eile na ìobairt-loiſgte.

23 Agus bheir e iad air an ochdamh là, air ſon a ghlanaidh, chum an t-ſagairt, gu dorus pàilliuin a' choimhthionail, an làthair an Tighearna.

24 Agus gabhaidh an ſagart uan na h-ìobairt-euſaontais, agus an log ola,

[a] *codacha.* [b] *tombas tri cheithreanna pinnte ſhaſgonaich.* [c] *taiſbeanaidh.* [d] *fhaigheil, fhaotainn.* [e] *cuid.* [f] *mar a thig leis; ni air an ruig a lamh.* Eabh.

ola, agus luaisgidh an sagart iad *mar* thabhartas-luaisgte an làthair an Tighearna.

25 Agus marbhaidh e uan na h-ìobairt-eusaontais, agus gabhaidh an sagart *cuid* do fhuil na h-ìobairt-eusaontais, agus cuiridh e *i* air bàrr cluaise deise an fhir a ta r'a ghlanadh, agus air ordaig a làimhe deise, agus air ordaig a choise deise.

26 Agus dòirtidh an sagart *cuid* do'n oladh ann an glaic a làimhe clìthe féin.

27 Agus crathaidh an sagart le 'mheur deas *cuid* do'n oladh a *ta* na làimh chli seachd uairean am fianuis an Tighearna.

28 Agus cuiridh an sagart *cuid* do'n oladh a *ta* na làimh, air bàrr cluaise deise an fhir a ta r'a ghlanadh, agus air ordaig a làimhe deise, agus air ordaig a choise deise, air ionad fola na h-iobairt-eusaontais.

29 Agus a' chuid eile do'n oladh a *ta* an làimh an t-sagairt, cuiridh e air ceann an fhir a ta r'a ghlanadh, a dheanamh réite air a shon am fianuis an Tighearna.

30 Agus ìobraidh e fear do na turtuir, no do na columain òga, mar is urrainn e fhaghail:

31 *Eadhon* an ni is urrainn e fhaghail, fear mar ìobairt-pheacaidh, agus am fear eile mar ìobairt-loisgte, maille ris an tabhartas-bhìdh. Agus ni an sagart réite air a shon-san a ta r'a ghlanadh, am fianuis an Tighearna.

32 So lagh an *fhir* anns *a' bheil* plàigh na luibhre, neach nach ruig a làmh air *an ni sin a bhuineas d'*a ghlanadh.

33 Agus labhair an Tighearna ri Maois, agus ri h-Aaron, ag ràdh,

34 An uair a thig sibh do thìr Chanaain, a bheir mise dhuibh mar sheilbh, agus a chuireas mi plàigh luibhre ann an tigh fearainn bhur seilbh;

35 Agus gu'n dthig esan d'am buin an tigh agus gu'n innis e do'n t-sagart, ag ràdh, A réir mo bharail-sa tha mar gu'm bu phlàigh *luibhre* san tigh:

36 An sin àithnidh an sagart dhoibh an tigh fhalmhachadh[a] mun dthéid an sagart *a stigh ann* a dh'fhaicinn na plàigh; chum nach deanar gach ni a *tha* san tigh neo-ghlan; agus na dhéigh sin théid an sagart a steach a dh'fhaicinn an tighe.

37 Agus amhaircidh e air a' phlàigh, agus feuch, *ma bhios* a' phlàigh ann am ballaibh an tighe, le stiallaibh doimhne[b]; càil-eigin uaine no dearga, a *tha* r'am faicinn[c] ni's isle na 'm balla;

38 An sin théid an sagart a mach as an tigh gu dorus an tighe, agus bheir e fa'near an tigh a dhùnadh suas seachd laithean.

39 Agus thig an sagart a rìs air an t-seachdamh là, agus amhaircidh e i: agus feuch, *ma* bhios a' phlàigh air sgaoileadh ann am ballaibh an tighe;

40 An sin àithnidh an sagart iad a thoirt air falbh nan clach, anns *a' bheil* a' phlàigh, agus tilgidh iad ann an àite neo-ghlan iad an taobh a mach do'n bhaile.

41 Agus bheir e fa'near an tigh a sgrìobadh air an taobh a stigh m'an cuairt, agus tilgidh[d] iad a mach an duslach a sgrìobas iad deth, an taobh a muigh do'n bhaile gu àite neo-ghlan.

42 Agus gabhaidh iad clachan eile, agus cuiridh iad ann an àite nan clach ud *iad;* agus gabhaidh e criadh[e] eile, agus còmhdaichidh e thairis[f] an tigh *leatha*.

43 Agus ma thig a' phlàigh a rìs, agus *ma* bhriseas i mach san tigh, an déigh dha na clachan a thoirt air falbh, agus an déigh dha 'n tigh a sgrìobadh, agus an déigh *dha* a chòmhdachadh thairis *le criadh;*

44 An sin thig an sagart agus amhaircidh e, agus feuch, ma tha phlàigh air sgaoileadh san tigh, *is* luibhre chnàmhain i san tigh; *tha* e neo-ghlan.

45 Agus brisidh e sios an tigh, a chlachan, agus 'fhiodh, agus criadh an tighe uile: agus bheir e fa'near *an* giùlan a mach as a' bhaile gu h-ionad neo-ghlan.

46 Agus bithidh esan a théid a stigh

[a] *fhàgail falamh.* [b] *claisichte.* [c] *'san amharc.* [d] *dòirtidh.* Eabh. [e] *làthach, creuch; morter.* Sasg. [f] *spairtidh; plaister.* Sasg.

ſtigh do'n tigh rè na h-ùine a dhruid-
ear ſuas e, neo-ghlan gu feaſgar.

47 Agus nighidh eſan a luidheas
anns an tigh 'eudach: agus nighidh
eſan a dh'itheas ſan tigh 'eudach.

48 Agus ma théid an ſagart a
ſtigh, agus gu'n amhairc e *air*, agus
feuch, cha do ſgaoil a' phlàigh ſan
tigh, an déigh an tigh a chòmhdach-
adh thairis; an ſin gairmidh an ſa-
gart an tigh glan, a chionn gu'n do
leighiſeadh a' phlàigh.

49 Agus gabhaidh e chum an tigh
a ghlanadh dà eun, agus ſiodh ſeudair,
agus ſcarlaid, agus hioſop.

50 Agus marbhaidh e fear do na
h-eunaibh ann an ſoitheach creadha,
os cionn uiſge ruidh.

51 Agus gabhaidh e am ſiodh ſeu-
dair, agus an hioſop, agus an ſcarlaid,
agus an t-eun beo, agus tumaidh e iad
ann am fuil an eoin a chaidh mharbh-
adh, agus anns an uiſge ruidh; agus
crathaidh e air an tigh ſeachd uaire.

52 Agus glanaidh e an tigh le fuil
an eoin, agus leis an uiſge ruidh, agus
leis an eun bheo, agus leis an ſhiodh
ſheudair, agus leis an hioſop, agus leis
an ſcarlaid.

53 Ach leigidh e as an t-eun beo
an taobh a mach do'n bhaile, air
aghaidh na machrach, agus ni e réite
air ſon an tighe: agus bithidh e glan.

54 So an lagh air ſon gach gnè do
phlàigh luibhre, agus do chàrr,

55 Agus air ſon luibhre eudaich,
agus air ſon tighe,

56 Agus air ſon ataidh, agus air
ſon guirein, agus air ſon buill ſhoill-
eir:

57 A theagaſg c'uin *a bhios e* neo-
ghlan, agus c'uin *a bhios e* glan: *is e*
ſo lagh na luibhre.

CAIB. XV.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois, agus ri h-Aaron, ag
ràdh,

2 Labhraibh ri cloinn Iſraeil, agus
abraibh riu, 'Nuair a bhios aig duine
ſam bith ſilteach o 'ſheoil, air ſon
a ſhiltich *bithidh* e neo-ghlan.

3 Agus is e ſo a neo-ghloine na
ſhilteach: ma ſhileas 'ſheoil a mach a
ſileadh, no ma dhùinear 'ſheoil ſuas o
ſhilteach, *is e* ſo a neo-ghloine.

4 Gach leabadh air an luidh eſan
air am bheil ſilteach, bithidh *i* neo-
ghlan: agus gach ni air an ſuidh e,
bithidh *e* neo-ghlan.

5 Agus gach neach a bheanas r'a
leabaidh, nighidh e 'eudach, agus
ionnailidh ſe *e féin* ann an uiſge, agus
bithidh e neo-ghlan gu feaſgar.

6 Agus eſan a ſhuidheas air ni *ſam
bith* air an do ſhuidh neach air am
bheil ſilteach, nighidh e 'eudach, agus
ionnailidh ſe *e féin* ann an uiſge, agus
bithidh e neo-ghlan gu feaſgar.

7 Agus eſan a bheanas ri feoil
neach air am bheil ſilteach, nighidh e
'eudach, agus ionnailidh ſe *e féin* ann
an uiſge, agus bithidh e neo-ghlan gu
feaſgar.

8 Agus ma thilgeas eſan air am
bheil ſilteach ſmugaid airſan a ta glan,
an ſin nighidh e 'eudach, agus ionnail-
idh ſe *e féin* ann an uiſge, agus bithidh
e neo-ghlan gu feaſgar.

9 Agus gach diollaid air am marc-
aich eſan air am bheil ſilteach, bithidh
i neo-ghlan.

10 Agus gach neach a bheanas ri
ni ſam bith a bha fuidhe, bithidh e
neo-ghlan gu feaſgar: agus eſan a
ghiùlaineas *a h-aon air bith do* na nith-
ibh ſin, nighidh e 'eudach, agus ionn-
ailidh ſe *e féin* ann an uiſge, agus
bithidh e neo-ghlan gu feaſgar.

11 Agus gach neach ris am bean
eſan air am bheil ſilteach, agus nach
d'ionnail a làmhan ann an uiſge,
nighidh e 'eudach agus ionnailidh ſe *e
féin* ann an uiſge, agus bithidh e neo-
ghlan gu feaſgar.

12 Agus an ſoitheach creadha ris
am bean eſan air am bheil ſilteach,
briſear *e*: agus gach ſoitheach ſiodha,
nighear ann an uiſge e.

13 Agus an uair a ghlanar eſan air
am bheil ſilteach o 'ſhilteach; an ſin
àirmhidh e dha féin ſeachd laithean
air ſon a ghlanaidh, agus nighidh
e 'eudach, agus ionnailidh e 'ſheoil
ann an uiſge ruidh, agus bithidh e
glan.

14 Agus air an ochdamh là gabh-
aidh e dha féin dà thurtur, no dà cho-
luman òga, agus thig e an làthair
an Tighearna, gu dorus pàilliuin a'
choimhthionail, agus bheir e iad do'n
t-ſagart.

15 Agus

15 Agus ìobraidh[a] an sagart iad, a h-aon diubh mar ìobairt-pheacaidh, agus an t-aon eile mar ìobairt-loisgte; agus ni an sagart réite air a shon an làthair an Tighearn a thaobh a shiltich.

16 Agus ma dh'fhalbhas a shìol-ginidh o dhuine air bith, an sin nighidh e 'fheoil uile ann an uisge, agus bithidh e neo-ghlan gu feasgar.

17 Agus gach eudach, agus gach croicionn air am bi an sìol-ginidh, nighear e ann an uisge, agus bithidh e neo-ghlan gu feasgar.

18 Mar an ceudna a' bhean leis an luidh fear le sìol ginidh, nighidh iad *araon iad féin* ann an uisge, agus bithidh iad neo-ghlan gu feasgar.

19 Agus an uair a bhios silteach air mnaoi, *agus* gur fuil a bhios na silteach na feoil, seachd laithean cuirear air leth i: agus gach neach a bheanas rithe, bithidh e neo-ghlan gu feasgar.

20 Agus gach ni air an luidh i 'nuair a chuirear air leth i, bithidh e neo-ghlan: gach ni mar an ceudna air an suidh i, bithidh e neo-ghlan.

21 Agus gach neach a bheanas r'a leabaidh, nighidh e eudach, agus ionnailidh se *e féin* ann an uisge, agus bithidh e neo-ghlan gu feasgar.

22 Agus gach neach a bheanas ri ni sam bith air an do shuidh i, nighidh e 'eudach, agus ionnailidh se *e féin* ann an uisge, agus bithidh e neo-ghlan gu feasgar.

23 Agus ma *bhios* e air a leabaidh, no air ni sam bith air an suidh i, 'nuair a bheanas e ris, bithidh e neo-ghlan gu feasgar.

24 Agus ma luidheas fear sam bith maille rithe, agus gu'm bi a fuil-mìos air, bithidh e neo-ghlan seachd laithean, agus bithidh gach leabadh air an luidh e, neo-ghlan.

25 Agus an uair a bhios a silteach fola air mnaoi mòran do laithibh, cha 'n ann an àm a dealachaidh, no ma shileas e an déigh *àm* a dealachaidh, bithidh uile laithean silidh a neo-ghloine mar laithean a dealachaidh: bithidh i neo-ghlan.

26 Gach leabadh air an luidh i rè uile laithean a siltich, bithidh i dh'i mar leabaidh a dealachaidh: agus gach ni air an suidh i, bithidh e neo-ghlan, a réir neo-ghloine a dealachaidh.

27 Agus gach neach a bheanas ris na nithibh sin, bithidh e neo-ghlan; agus nighidh e 'eudach, agus ionnailidh se *e féin* ann an uisge, agus bithidh e neo-ghlan gu feasgar.

28 Ach ma ghlanar i o 'silteach, an sin àirmhidh i dh'i féin seachd laithean, agus an déigh sin bithidh i glan:

29 Agus air an ochdamh là gabhaidh i dh'i féin dà thurtur, no dà choluman oga, agus bheir i iad a dh'ionnsuidh an t-sagairt, gu dorus pàilliuin a' choimhthionail:

30 Agus ìobraidh an sagart a h-aon *diubh* mar ìobairt-pheacaidh, agus an t-aon *eile* mar ìobairt-loisgte; agus ni an sagart réite air a son an làthair an Tighearna, air son siltich a neo-ghloine.

31 Mar so dealaichidh sibh clann Israeil o'n neo-ghloine, chum as nach bàsaich iad nan neo-ghloine, 'nuair a thruailleas[b] iad mo phàilliun-sa a *ta* nam measg.

32 *Is e* so lagh an *fhir* air am bheil silteach, agus an *fhir* sin aig an dthéid a shìol uaith, agus a shalaichear leis;

33 Agus na *mnà* a bhios gu tinn ann an *àm* a dealachaidh, agus an neach sin air am bi silteach, an fhir, agus na mnà, agus an duine *sin* a luidheas leatha-sa ta neo-ghlan.

CAIB. XVI.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois an déigh bàis dhithis mhac Aaroin, an uair a thug iad seachad tabhartas an làthair an Tighearna, agus a bhàsaich iad:

2 Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, Labhair ri h-Aaron do bhràthair, a chum nach dthéid e anns gach àm a steach do'n *ionad* naomha an taobh a stigh do'n roinn-bhrat, an làthair cathair-na-tròcair, a *ta* air an àirc; a chum nach bàsaich e: oir foillsichidh[c] mise mi féin ann an neul air cathair-na-tròcair.

[a] *ni.* Eabh. [b] *mhi-naomhaicheas.* [c] *taisbeanaidh.*

3 Mar so théid Aaron a steach do'n *ionad* naomha: le tarbh òg chum ìobairt-pheacaidh, agus reithe chum ìobairt-loisgte.

4 An còta anairt naomha cuiridh e air, agus bithidh na brigisean anairt aige air 'fheoil, agus leis a' chrios anairt criosraichidh se e féin, agus an crùn-anairt cuiridh e air: *is* éididh naomha iad sin; air an aobhar sin ionnailidh e 'fheoil ann an uisge, agus cuiridh e air iad.

5 Agus o choimhthional chloinn Israeil gabhaidh e dà bhoc [a] o na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh, agus aon reithe chum ìobairt-loisgte.

6 Agus bheir Aaron seachad tarbh na h-ìobairt-pheacaidh a *bhios* air a shon féin: agus ni e réite air a shon féin, agus air son a thighe.

7 Agus gabhaidh e an dà bhoc-gaibhre, agus nochdaidh e iad an làthair an Tighearna, aig dorus pàilliuin a' choimhthionail.

8 Agus tilgidh Aaron croinn [b] air an dà bhoc; aon chrann air son an Tighearna, agus crann eile air son a' bhuic a théid as.

9 Agus bheir Aaron leis am boc air an do thuit an crann air son an Tighearna, agus ìobraidh se e mar ìobairt-pheacaidh.

10 Ach am boc air an do thuit an crann gu'n leigte as e, nochdar beo e an làthair an Tighearna, gu réite a dheanamh leis, chum a leigeadh as saor do'n fhàsach.

11 Agus bheir Aaron leis tarbh na h-ìobairt-pheacaidh, a *bhios* air a shon féin, agus ni e réite air a shon féin, agus air son a thighe; agus marbhaidh e tarbh na h-ìobairt-pheacaidh, a *bhios* air a shon féin.

12 Agus gabhaidh e tùiseir làn a dh'eibhlibh teine o'n altair an làthair an Tighearna. agus làn a ghlac do thùis dheagh-bholaidh pronnta gu min, agus bheir e 'n taobh a stigh do'n roinn-bhrat e.

13 Agus cuiridh e an tùis air an teine an làthair an Tighearna, chum gu'n còmhdaich neul na tùise cathair-na-tròcair a *ta* air an fhianuis, agus nach faigh e bàs.

14 Agus gabhaidh e do fhuil an tairbh, agus crathaidh e i le 'mheur air cathair-na-tròcair chum na h-àird an ear: agus fa chomhair cathair-na-tròcair crathaidh e do'n fhuil seachd uairean le 'mheur.

15 An sin marbhaidh e boc-gaibhre na h-ìobairt-pheacaidh a *bhios* air son an t-sluaigh, agus bheir e 'fhuil an taobh a stigh do'n roinn-bhrat, agus ni e r'a fhuil-san mar a rinn e ri fuil an tairbh, agus crathaidh e i air cathair-na-tròcair, agus fa chomhair cathair-na-tròcair.

16 Agus ni e réite air son an *ionaid* naomha thaobh neo-ghloine chloinn Israeil, agus a thaobh an seachrana [c] nam peacannaibh gu léir: agus mar so ni e air son pàilliuin a' choimhthionail a ta chòmhnuidh maille riu, ann am meadhon an neo-ghloine.

17 Agus duine sam bith cha bhi ann am pàilliun a' choimhthionail, an uair a théid e dheanamh réite san *ionad* naomha, gus an dthig e mach, agus gu bheil e air deanamh réite air a shon féin, agus air son a thighe [d], agus air son uile choimhthionail Israeil.

18 Agus théid e mach a dh'ionnsuidh na h-altarach a *ta* am fianuis an Tighearna, agus ni e réite air a son; agus gabhaidh e do fhuil an tairbh, agus do fhuil a' bhuic, agus cuiridh e i air adhaircibh na h-altarach m'an cuairt.

19 Agus crathaidh e oirre do'n fhuil le 'mheur seachd uairean, agus glanaidh e i, agus naomhaichidh e i o neo-ghloine chloinn Israeil.

20 Agus an uair a bhios e air deanamh réite [e] air son an *ionaid* naomha, agus air son pàilliuin a' choimhthionail, agus air son na h-altarach, bheir e leis am boc-gaibhre beo:

21 Agus cuiridh Aaron a dhà làimh air ceann a' bhuic bheo, agus aidichidh e os a chionn uile lochda chloinn Israeil, agus an uile sheachrana [f] nam peacannaibh

[a] *dà mheann.* [b] *crannchur.* [c] *eusaontais.* [d] *theaghlaich.*
[e] *'nuair a chuireas e crìoch air réite dheanamh.* Eabh. [f] *eu-earta.*

peacannaibh gu léir, agus cuiridh e
iad air ceann a' bhuic, agus cuiridh e
air falbh e le làimh duine iomchuidh
do'n fhàsach.
22 Agus giùlainidh am boc-gaibhre
air féin an lochda gu léir gu fearann
air leth[a]: agus leigidh e air falbh am
boc san fhàsach.
23 Agus théid Aaron a steach do
phàilliun a' choimhthionail, agus cuir-
idh e dheth an éididh anairt, a chuir
e air an uair a chaidh e steach
do'n *ionad* naomha, agus fàgaidh e 'n
sin i.
24 Agus ionnailidh e 'fheoil ann
an uisge san ionad naomha, agus cuir-
idh e air 'éididh, agus thig e mach, a-
gus ìobraidh e 'ìobairt-loisgte féin, a-
gus ìobairt-loisgte an t-sluaigh; agus
ni e réite air a shon féin agus air son
an t-sluaigh.
25 Agus saill na h-ìobairt-phea-
caidh loisgidh e air an altair
26 Agus esan a leig as am boc-
gaibhre mar bhoc saor, nighidh e 'eu-
dach, agus ionnailidh e 'fheoil ann an
uisge; agus na dhéigh sin théid e do'n
champ.
27 Agus an tarbh air son na h-ìo-
bairt-pheacaidh, agus am boc-gaibhre
air son na h-ìobairt-pheacaidh, d'an
d'thugadh am fuil a steach a chum
réite a dheanamh san *ion ad* naomha,
bheirear a mach iad an taobh a muigh
do'n champ; agus loisgidh iad san
teine an croicinn, agus am feoil, agus
an aolach.
28 Agus esan a loisgeas iad, nighidh
e 'eudach, agus ionnailidh e 'fheoil ann
an uisge, agus na dhéigh sin théid e
do'n champ.
29 Agus bithidh *so* dhuibh na or-
dugh gu sìorruidh: Anns an t-seachd-
amh mìos, air an deicheamh *là* do'n
mhìos, irioslaichidh[b] sibh bhur n-an-
main, agus obair sam bith cha dean
sibh, *aon chuid* esan a tha do mhuinn-
tir bhur dùthcha féin, no 'n coigreach
a ta air chuairt nar measg;
30 Oir air an là sin ni *an sagart*
réite air bhur son, chum bhur glan-
adh: o bhur peacannaibh gu léir
an làthair an Tighearna glanar sibh.

31 *Bithidh e* na shàbaid tàimh
dhuibh, agus irioslaichidh sibh bhur
n-anman, le ordugh sìorruidh.
32 Agus ni an sagart a dh'ungas e,
agus a choisrigeas e gu frithealadh ann
an àite 'athar, an réite: agus cuiridh
e air an éididh anairt, *eadhon* an trus-
càn naomha.
33 Agus ni e réite air son an ionaid
ro-naomha, agus air son pàilliuin a'
choimhthionail, agus air son na h-al-
tarach ni e réite; mar an ceudna
air son nan sagart, agus air son uile
shluaigh a' choimhthionail ni e réite.
34 Agus bithidh so dhuibh na or-
dugh sìorruidh, chum réite a dhean-
amh air son chloinn Israeil, as leth am
peacanna gu léir aon uair sa' bhliadh-
na. Agus rinn e mar a dh'àithn an
Tighearna do Mhaois.

C A I B. XVII.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
2 Labhair ri h-Aaron, agus r'a
mhic, agus ri cloinn Israeil uile, agus
abair riu, So an ni a dh'àithn an
Tighearn, ag ràdh,
3 Ge b'e duine air bith do thigh
Israeil, a mharbhas tarbh, no uan, no
gabhar anns a' champ, no mharbhas e
mach as a' champ,
4 Agus nach d'thoir e gu dorus
pàilliuin a' choimhthionail, gu tabhart-
as a thoirt seachad do'n Tighearn air
beulaobh[c] pàilliuin an Tighearna,
cuirear fuil as leth an duine sin, dhòirt
e fuil; agus gearrar as an duine sin o
mheasg a shluaigh:
5 Chum as gu'n d'thoir clann Is-
raeil an ìobairtean, a dh'ìobras iad a
muigh sa' mhachair[d], eadhon gu'n
d'thoir iad a chum an Tighearn iad,
gu dorus pàilliuin a 'choimhthionail a
dh'ionnsuidh an t-sagairt, agus gu'n
ìobair iad *mar* ìobairtean-sìth iad do'n
Tighearna.
6 Agus crathaidh an sagart an fhuil
air altair an Tighearna, aig dorus pàil-
liuin a' choimhthionail, agus loisgidh
e 'n t-saill a chum fàile cùbhraidh
do'n Tighearna.
7 Agus cha 'n ìobair iad ni's mò
an

[a] *gu fearann neo-àitichte.* [b] *eràdhaidh.* Eabh. [c] *fa chomhair.* [d] *air aghaidh an fhearainn.* Eabh.

an ìobairtean do dhiabholaibh, as déigh an deachaidh iad le striopachas: Bithidh so na reachd dhoibh gu siorruidh air feadh an ginealacha.

8 Agus their thu riu, Ge b'e duine air bith do thigh Israeil, no do na coigrich a bhios air chuairt 'nar measg, a bheir seachad tabhartas-loisgte no ìobairt,

9 Agus nach dthoir e gu dorus pàilliuin a' choimhthionail, a chum 'iobradh do'n Tighearna; gearrar eadhon an duine sin as o mhcasg a shluaigh.

10 Agus ge b'e duine do thigh Israeil, no do na coigrich a ta air chuairt 'nar measg, a dh'itheas gnè sam bith fola, cuiridh mise mo ghnùis an aghaidh an anma sin a dh'itheas fuil, agus gearraidh mi as e o mheasg a shluaigh.

11 Oir tha beatha na feòla san fhuil, agus thug mi dhuibh i air an altair, a dheanamh réite air son bhur n-anmanna: oir *is i* an fhuil *a* ni réite air son an anma.

12 Uime sin thubhairt mi ri cloinn Israeil, Cha 'n ith anam sam bith agaibh fuil, ni mò a dh'itheas an coigreach fuil, a bhios air chuairt 'nar measg.

13 Agus ge b'e duine air bith do chloinn Israeil, no do na coigrich a bhios air chuairt 'nar measg, a ni sealg agus a ghlacas beathach no eun a dh'fheudar itheadh; dòirtidh e mach 'fhuil, agus còmhdaichidh [a] e le duslach i.

14 Oir *is i* beatha gach uile fheòla a fuil; *tha* i air son beatha dh'i: uime sin thubhairt mi ri cloinn Israeil, Cha 'n ith sibh fuil feòla sam bith; oir *is i* beatha gach feòla a fuil: gach neach a dh'itheas i, gearrar as e.

15 Agus gach anam a dh'itheas an ni a bhàsaicheas *dheth féin*, no a reubadh *le fiadh-bheathaichibh*, (ma's neach e a rugadh 'nar tìr féin, no coigreach) nighidh e 'eudach, agus ionnailidh se *e féin* ann an uisge, agus bithidh e neo-ghlan gu feasgar: an sin bithidh e glan.

16 Ach mur nigh se *e*, agus mur ionnail e 'fheoil; an sin giùlainidh e 'aingidheachd.

CAIB. XVIII.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

2 Labhair ri cloinn Israeil, agus abair riu, *Is* mise an Tighearna bhur Dia.

3 A réir gnìomhara tìr na h-Eiphit anns an robh sibh a chòmhnuidh, cha dean sibh: agus a réir gnìomhara tìr Chanaain gus *am bheil* mise 'gar tabhairt, cha dean sibh: ni mò a ghluaiseas sibh nan orduighibh.

4 Ni sibh mo bhreitheanais, agus gleidhidh sibh m'orduighean, gu gluasad annta: *Is* mise an Tighearna bhur Dia.

5 Uime sin gleidhidh sibh mo reachdan agus mo bhreitheanais; nithe ma ni duine, bithidh e beo annta: *Is* mise an Tighearna.

6 Cha dthig a h-aon agaibh am fagus a dh'aon neach a ta dlùth dha ann an dàimh, a chum *a* nàire a leigeadh ris: *Is* mise an Tighearna.

7 Nochd [b] t'athar, no nochd do mhàthar, cha leig thu ris: *is i* do mhàthair i, cha leig thu ris a nochd.

8 Nochd mnà t'athar cha leig thu ris: *is e* nochd t'athar e.

9 Nochd do pheathar, nighinn t'athar, no nighinn do mhàthar, co dhiubh a rugadh i aig an tigh, no rugadh a mach i, *eadhon* an nochd-san cha leig thu ris.

10 Nochd nighinn do mhic, no nighinn do nighinn, *eadhon* an nochdsan cha leig thu ris: oir *is e* an *nochdsan* do nochd féin.

11 Nochd nighinn mnà t'athar, a a ghineadh le t'athair, (*is i* do phiuthar i) cha leig thu ris a nochd-sa.

12 Cha leig thu ris nochd peathar t'athar; *is i* ban-charaid ro-dhìlcas t'athar i.

13 Cha leig thu ris nochd peathar do mhàthar: oir *is i* ban-charaid rodhìleas do mhàthar i.

14 Cha leig thu ris nochd bràthar t'athar, cha dthig thu 'm fagus d'a mhnaoi: *is i* bean bhràthar t'athar i.

15 Cha

[a] *folabaidh.* [b] *Lomnochduidh, nàire.*

15 Cha leig thu r's nochd do bhanchleamhna; *is i* bean do mhic i, cha leig thu ris a nochd.

16 Cha leig thu ris nochd mnà do bhràthar: *is e* nochd do bhràthar e.

17 Cha leig thu ris nochd mnà agus a h-ighinn [a], ni mò a ghabhas tu nighean a mic, no nighean a h-ighinn, a chum a nochd a leigeadh ris, *oir is* iad à ban-chairde dilse iad: *is* aingidheachd e.

18 Ni mò a ghabhas tu bean maille r'a piuthair, a chum a buaireadh [b], a leigeadh ris a nochd, a thuilleadh air an té eile, am feadh is beo i.

19 Mar an ceudna cha dthig thu 'm fagus do mhnaoi a leigeadh ris a nochd, an uair a chuirear air leth i air son a neo-ghloine

20 Agus cha luidh thu gu collaidh le mnaoi do choimhearsnaich, a chum thu féin a thruailleadh leatha.

21 Agus cha leig thu le neach air bith *do* d' shliochd dol tre *'n teine* do Mholech, ni mò a mhi-naomhaicheas tu ainm do Dhé: *Is* mise an Tighearna.

22 Cha luidh thu le firionnach mar le bainionnach: *is* gràineileachd e.

23 Ni mò a luidheas tu le h-ainmhidh sam bith gu d' thruailleadh féin leis: ni mò a sheasas bean sam bith roimh ainmhidh gu luidhe sios da: is amhluadh [c] e.

24 Na truaillibh sibh féin ann an aon sam bith do na nithibh sin; oir anns na nithibh sin uile thruaill na cinnich *sin* iad féin, a thilgeas mise mach romhaibh.

25 Agus shalaicheadh am fearann: uime sin leanaidh mi 'aingidheachd air, agus sgeithidh am fearann féin a mach a luchd-àiteachaidh.

26 Uime sin gleidhidh sibh mo reachdan agus mo bhreitheanais, agus cha dean sibh *a h-aon air bith* do na gràinealachdaibh sin; *aon chuid* neach sam bith d'ar cinneach féin, no coigreach a bhios air chuairt 'nar measg:

27 (Oir na gràinealachda sin uile rinn daoine na dùthcha, a *bha* romhaibh, agus tha 'm fearann air a thruailleadh).

28 Chum nach sgeith am fearann sibhse mach mar an ceudna, 'nuair a thruailleas sibh e, mar a sgeith e mach na cinnich a *bha* romhaibh.

29 Oir ge b'e neach a ni h-aon air bith do na gràinealachdaibh ud, eadhon na h-anman a ni *iad*, gearrar as iad o mheasg an sluaigh.

30 Uime sin gleidhidh sibh m'orduighean, a chum nach dean sibh *a h-aon air bith* do na gnàthannaibh gràineil ud, a rinneadh romhaibh, agus nach truaill sibh sibh féin annta: *Is* mise an Tighearna bhur Dia.

C A I B. XIX.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

2 Labhair ri coimhthional chloinn Israeil uile, agus abair riu, Bithibh naomha: oir *a ta* mise an Tighearna bhur Dia naomha.

3 Bitheadh eagal bhur màthar agus bhur n-athar air gach duine agaibh, agus gleidhibh mo shàbaidean: *Is* mise an Tighearna bhur Dia.

4 Na rachaibh a thaobh gu h-iodholaibh, agus na deanaibh diathan [d] leaghta dhuibh féin: *Is* mise an Tighearna bhur Dia.

5 Agus ma dh'iobras sibh iobairt thabhartasan-sìth do'n Tighearna, iobraidh sibh i d'ar toil féin.

6 San là sin féin anns an iobair sibh i ithear i, agus air an là màireach: agus ma mhaireas a' bheag *dh'i* gus an treas là, loisgear san teine e.

7 Agus ma dh'ithear e idir air an treas là, *is* gràineil e; cha ghabhar e.

8 Uime sin *gach neach* a dh'itheas e, giùlainidh e 'aingidheachd, a chionn gu'n do mhi-naomhaich e nithe coisrigte an Tighearna: agus gearrar an t-anam sin as o 'shluagh.

9 Agus an uair a bhuaineas sibh foghar bhur fearainn, cha bhuain thu gu buileach oisinnean t-achaidh, ni mò a chruinnicheas tu dioghluim [e] t-fhogharaidh.

10 Agus cha tur-lom thu t'fhionlios [f], ni mò a chruinnicheas tu *uile* fhion-dhearca t-fhion-lios; do'n

[a] *inghinn.* [b] *brosnuchadh, cràdh.* [c] *aimlisg; confusion.* Sasg. [d] *d*...
[e] *seasgana.* [f] *lom thu gu buileach t-'fhìon-ghàradh.*

bhochd agus do'n choigreach fàgaidh tu iad: *Is* mise an Tighearna bhur Dia.

11 Cha ghoid sibh, ni mò a ni sibh breug [a], no mheallas aon agaibh a cheile.

12 Agus cha mhionnaich sibh air m'ainm-sa gu breugach, ni mò a mhi-naomhaicheas tu ainm do Dhé: *Is* mise an Tighearna.

13 Cha dean thu foirneart [b] air do choimhearsnach, ni mò a ni thu reubainn air: cha'n fhan duais an fhir-thuarasdail maille riut rè na h-oidhche gu maduinn.

14 Cha mhallaich thu 'm bodhar, agus roimh 'n dall cha chuir thu ceap-tuislidh, ach bithidh eagal do Dhé ort; *Is* mise an Tighearna.

15 Cha dean sibh eucoir sam bith ann am breitheanas; cha bhi suim agad do ghnùis [c] an *duine* bhochd, ni mò a bheir thu onoir do ghnùis an duine chumhachdaich; ann an ceart-as bheir thu breth air do choimhearsnach.

16 Cha dthéid thu *m'an cuairt* mar fhear tuailis [d] am measg do shluaigh; ni mò a sheasas tu an aghaidh fola do choimhearsnaich: *Is* mise an Tighearna.

17 Cha bhi *fuath* agad do d' bhràthair ann ad chridhe: air gach aon chor cronaichidh tu do choimhearsnach, agus cha'n fhuiling thu peacadh air.

18 Cha dean thu dioghaltas ni mò bhios falachd [e] agad ri cloinn do shluaigh, ach gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu féin: *Is* mise an Tighearna.

19 Gleidhidh sibh mo reachda: Cha leig thu le d' spréidh siolachadh le gnè eile [f]: Cha chuir thu t' fhearann le siol measgta: ni mò a chuirear umad eudach measgta do olainn agus do lion.

20 Agus ge b'e neach a luidheas gu collaidh le mnaoi a *ta* na ban-tràill fuidh cheangal pòsaidh aig fear, agus nach d'fhuasgladh idir, ni mò a thugadh saorsa dh'i; sgiùrsar i: *Cha* chuirear gu bas iad, a chionn nach robh i saor.

21 Agus bheir e iobairt-eusaontais do'n Tighearna, gu dorus pàilliuin a' choimhthionail, *eadhon* reithe mar iobairt-eusaontais.

22 Agus ni an sagart réite air a shon le reithe na h-iobairt-eusaontais an làthair an Tighearna, air son a pheacaidh a rinn e: agus mathar dha a pheacadh a rinn e.

23 Agus an uair a thig sibh do'n fhearann, agus a shuidhicheas sibh gach gnè chraobh air son bidh; an sin measaidh sibh an toradh mar ni neo-thimchioll-ghearrta: tri bliadhnan bithidh e dhuibh mar ni neo-thimchioll-ghearrta: cha'n ithear dheth.

24 Ach air a' cheathramh bliadhna bithidh a thoradh uile naomha chum cliu do'n Tighearna.

25 Agus air a' chùigeadh bliadhna ithidh sibh d'a thoradh, chum as gu'n dthoir e a chinneas [g] duibh: *Is* mise an Tighearna bhur Dia.

26 Cha 'n ith sibh *ni sam bith* leis an fhuil: ni mò a ghnàthaicheas sibh druidheachd [h], no sheallas sibh air amannaibh [k].

27 Cha bhearr sibh m'an cuairt oisinnean bhur ceann, ni mò a mhilleas tu oisinnean t'fheusaig.

28 Cha dean sibh gearradh sam bith 'nar feoil air son nam marbh, ni mò a chuireas sibh comhara sam bith oirbh: *Is* mise an Tighearna.

29 Na truaill do nighean, a thoirt oirre bhi na striopaich; a chum as nach dthoir am fearann gu striopachas, agus nach lionar an dùthaich le h-aingidheachd.

30 Gleidhidh sibh mo shàbaidean, agus bheir sibh urram do m'ionad naomha: *Is* mise an Tighearna.

31 Na biodh suim agaibh dhiubhsan aig am bheil leannain-sìth [l], agus na iarraibh a dh'ionnsuidh luchd-fiosachd, gu bhi air bhur truailleadh leo: *Is* mise an Tighearna bhur Dia.

32 An

[a] *a dh'ài beadbas.* Eabh. [b] *eucoir, feall, cealg.* [c] *phearsa.* [d] *fhear cùl-chàineadh, fhear innseadh sgeoil.* [e] *mio-run.* [f] *le seòrsaibh eagsamhuil.* [g] *'fhàs.* [h] *fiosachd.* [k] *manaibh.* [l] *spiorada fairstinea &c.*

32 An làthair a' chinn léith éiridh
tu fuas, agus bheir thu urram do
ghnùis an duine aofda, agus bithidh
eagal do Dhé ort: *Is* mife an Tigh-
earna.

33 Agus ma bhios coigreach air
chuairt maille riut 'nar tir, cha bhuin
fibh gu cruaidh ris.

34 Mar neach a rugadh 'nar meafg
bithidh dhuibhfe an coigreach a ta air
chuairt maille ribh, agus gràdhaichidh
tu e mar thu féin; oir bha fibh féin
'nar coigrich ann an tìr na h-Eiphit:
Is mife an Tighearna bhur Dia.

35 Cha dean fibh eucoir fam bith
ann am breitheanas, ann an flait-
thomhais, ann an cudthrom, no ann
an tomhas.

36 Meidhean cearta[a], clacha-tomhais
cearta, ephah cheart, agus hin cheart
bithidh agaibh: *Is* mife an Tighearna
bhur Dia a thug fibhfe 'mach a tìr na
h-Eiphit.

37 Uime fin gleidhidh fibh mo
reachdan uile, agus mo bhreitheanais
uile, agus ni fibh iad: *Is* mife an
Tighearna.

CAIB. XX.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,

2 A ris their thu ri cloinn Ifraeil,
Ge b'e air bith *e* do chloinn Ifraeil,
no do na coigrich a ta air chuairt ann
an Ifrael, a bheir a' bheag d'a fhliochd
do Mholech; cuirear gu cinnteach
gu bàs e, clachaidh fluagh na dùthcha
e le clachaibh.

3 Agus cuiridh mife mo ghnùis an
aghaidh an duine fin, agus gearraidh
mi as e o mheafg a fhluaigh. a chionn
gu'n d'thug e d'a fhliochd do Mho-
lech a fhalchadh m'ionaid naomha-fa,
agus a thruailleadh m'ainm naomha.

4 Agus ma dh'fholaicheas fluagh
na dùthcha air chor fam bith an
fùilean o'n duine fin, an uair a bheir
e d'a fhliochd do Mholech, agus nach
marbh iad e;

5 An fin cuiridh mife mo ghnùis
an aghaidh an duine fin, agus an
aghaidh a theaghlaich, agus gearraidh
mi as e, agus iadfan uile a théid le
ftrìopachas na dhéigh, a dheanamh
ftrìopachais le Molech, o mheafg an
fluaigh.

6 Agus an t-anam a théid a thaobh
a dh'ionnfuidh muinntir aig am bheil
leannain-sìth, agus a dh'ionnfuidh
luchd fiofachd, gu dol le ftrìopachas
nan déigh, cuiridh mife mo ghnùis
an aghaidh an anma fin, agus gearr-
aidh mi as e o mheafg a fhluaigh.

7 Naomhaichibh fibh féin uime fin,
agus bithibh naomha: oir *is* mife an
Tighearna bhur Dia.

8 Agus gleidhidh fibh mo reachd-
an, agus ni fibh iad: *Is* mife an Tigh-
earn a naomhaicheas fibh.

9 Oir gach neach a mhallaicheas
'athair no 'mhàthair, cuirear gu cinn-
teach gu bàs e: mhallaich e 'athair
no 'mhàthair; *bithidh* 'fhuil air féin.

10 Agus an duine a ni adhaltrann-
as ri mnaoi fir *eile*, *eadhon efan* a ni
adhaltrannas ri mnaoi a choimhear-
fnaich, cuirear an t-adhaltranach agus
a' bhan-adhaltranach gu cinnteach gu
bàs.

11 Agus an duine a luidheas le
mnaoi 'athar, leig e ris nochd 'athar:
cuirear gu cinnteach le chéile gu bàs
iad; *bithidh* am fuil orra féin.

12 Agus ma luidheas duine le
mnaoi a mhic, cuirear gu deimhin
le chéile gu bàs iad: dh'oibrich iad
amhluadh[b]: *bithidh* am fuil orra féin.

13 Mar an ceudna ma luidheas
duine le fear, mar a luidheas e le
mnaoi, rinn iad le chéile gràinealachd:
cuirear gu cinnteach gu bàs iad; *bith-
idh* am fuil orra féin.

14 Agus ma ghabhas duine *d'a ionn-
fuidh* bean agus a màthair, *is* aingidh-
eachd e: loifgear le teine iad, eadhon
efan agus iadfan; a chum as nach bi
aingidheachd 'nar meafg.

15 Agus ma luidheas duine le
h-ainmhidh, cuirear gu cinnteach gu
bàs e: agus marbhaidh fibh an t-ain-
mhidh.

16 Agus ma thig bean am fagus a
dh'ainmhidh fam bith, agus gu'n
luidh i sìos da, marbhaidh tu a' bhean
agus an t-ainmhidh: cuirear gu cinnt-
each gu bàs iad; *bithidh* am fuil orra
féin.

17 Agus ma ghabhas duine a phiu-
thar, nighean 'athar, no nighean a
mhàthar, agus gu'm faic e a nochd,
agus gu'm faic ife a nochd-fan; *is* n[c],
maflach[b] e; agus gearrar as iad ann
an

[a] *Toimhfean fìrinneach.* [b] *aimlifg, eafurdugh.* [c] *aingidh.*

an ſealladh an ſluaigh[a]: leig e ris nochd a pheathar, giùlainidh e 'aingidheachd.

18 Agus ma luidheas duine le mnaoi agus a tinneas oirre, agus gu'n leig e ris a nochd: leig e ris a tobar, agus leig iſe ris tobar a fola; agus gearrar as le chéile iad o mheaſg an ſluaigh.

19 Agus cha leig thu ris nochd peathar do mhàthar, no peathar t'athar: oir tha e rùſgadh ſheòla féin: giùlainidh iad an aingidheachd.

20 Agus ma luidheas duine le mnaoi bhràthar 'athar, leig e ris nochd bhràthar 'athar; giùlainidh iad am peacadh, gheibh iad bàs gun chloinn.

21 Agus ma ghabhas duine bean a bhràthar, *is* ni neo-ghlan e: leig e ris nochd a bhràthar, bithidh iad gun chloinn.

22 Uime ſin gleidhidh ſibh mo reachdan uile, agus mo bhreitheanais uile, agus ni ſibh iad; a chum as nach dean am fearann, g'am bheil mi 'gar tabhairt gu comhnuidh a ghabhail ann, bhur ſgeith a mach.

23 Agus cha ghluais ſibh ann an gnàthannaibh[b] nan cinneach a *ta* miſe tilgeadh a mach romhaibh: oir rinn iadſan na nithe ſin uile, agus uime ſin ghabh mi gràin diubh.

24 Ach thubhairt mi ribhſe, Sealbhaichidh ſibh am fearann, agus bheir mi dhuibh e chum a ſhealbhachadh, fearann a ta ſruthadh le bainne agus le mil: *Is* miſe an Tighearna bhur Dia, a dhealaich ſibhſe o gach ſluagh *eile*.

25 Cuiridh ſibh uime ſin eadar-dhealachadh eadar bheathaichibh glana agus neo-ghlana, agus eadar eunlaith neo-ghlan agus ghlan; agus cha dean ſibh bhur n-anmanna gràineil le beathach no le h-eun, no le gnè air bith *do ni beo* a ſhnàigeas air an talamh, a ſgar miſe uaibh mar neo-ghlan.

26 Agus bithidh ſibh naomha dhomhſa: oir *a ta* miſe an Tighearna naomha, agus dhealaich mi ſibhſe o gach ſluagh *eile*, chum as gu'm bu leam *féin* ſibh.

27 Bean no duine mar an ceudna aig am bheil leannan-ſith, no bhios ri ſioſachd, cuirear gu deimhin gu bàs iad: clachaidh iad le clachaibh iad; *bithidh* am ſuil orra féin.

CAIB. XXI.

AGUS thubhairt an Tighearna ri Maois, Labhair ris na ſagairt mic Aaroin, agus abair riu, Air ſon nam marbh cha ſalaichear neach ſam bith *dhibh* am meaſg a ſhluaigh.

2 Ach air ſon a dhilſean[c], a ta am fagus da, *eadhon* air ſon a mhàthar, agus air ſon 'athar, agus air ſon a mhic, agus air ſon a nighinn, agus air ſon a bhràthar,

3 Agus air ſon a pheathar a ta na h-òigh, a *ta* am fagus da, aig nach robh fear-pòſda; air a ſonſa feudaidh e bhi air a ſhalchadh.

4 *Ach* cha ſalaich ſe e féin, *air bhi dha na* dhuine urramach[d] am meaſg a ſhluaigh, gu 'thruailleadh féin.

5 Cha dean iad maoile air an ceann[e], agus oiſinn am feuſaig cha bhearr iad, ni mò a ni iad gearradh 'nam feoil;

6 Bithidh iad naomha d'an Dia, agus cha truaill iad ainm an Dé: oir tha iad a' toirt ſeachad tabhartais an Tighearna a bheirear ſuas le teine, *agus* arain an Dé; uime ſin bithidh iad naomha.

7 Cha ghabh iad bean a ta na ſtrìopaich, no mi-naomha[f]; ni mò a ghabhas iad bean a chuireadh air ſalbh o 'fear: oir *tha* e naomha d'a Dhia.

8 Uime ſin naomhaichidh tu e, oir tha e toirt ſeachad arain do Dhé; bithidh e nàomha dhuit: oir *tha* miſe an Tighearna naomha, a *ta* 'gar naomhachadh.

9 Agus ma thruailleas nighean ſagairt air bith i féin le ſtrìopachas a dheanamh, tha i truailleadh a h-athar: loiſgear le teine i.

10 Agus eſan a tha na ard ſhagart o mheaſg a bhràithrean, neach a dhoirteadh an ola naomha air a cheann, agus a choiſrigeadh a chur na h-éididh[g] uime, cha rùiſg e 'cheann, ni mò a reubas e 'eudach.

11 Ni

[a] *ann an ſùilibh mhac an ſluaigh.* Eabh.
[b] *reachdaibh, orduighibh.* Eabh.
[c] *ſheòla féin.* Eabh.
[d] *'na ard dhuine.*
[e] *Cha mhaolaich iad an ceann l... ſronadh an gruaige.*
[f] *air a truailleadh.*
[g] *an truſcain* naomha.

11 Ni mò théid e ſteach a dh'ionnſuidh cuirp mhairbh ſam bith: air ſon 'athar no air ſon a mhàthar cha ſalaich ſe e féin.

12 Agus as an ionad naomha cha dthéid e mach, ni mò a thruailleas e ionad naomh a Dhé; oir *a ta* crùn oladh-ungaidh a Dhé air: *Is* miſe an Tighearna.

13 Agus gabhaidh e bean na maighdeanas.

14 Bantrach no bean a chuireadh air falbh o 'fear, no bean mhi-naomha, no ſtriopach; iad ſin cha 'ghabh e: ach òigh d'a ſhluagh féin gabhaidh e mar mhnaoi.

15 Agus cha truaill e a ſhliochd am meaſg a ſhluaigh: oir *a ta* miſe an Tighearna ga naomhachadh.

16 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

17 Labhair ri h-Aaron, ag ràdh, Ge b'e air bith e do d' ſhliochd nan ginealachaibh, anns am bi gaoid[a] *ſam bith*, na dthigeadh e 'm fagus a thoirt ſeachad arain a Dhé:

18 Oir ge-b'e air bith duine anns *am bi* gaoid, cha dthig e 'm fagus: duine dall, no bacach, no aig am bheil ſròn leachdach, no ni ſam bith a thuilleadh air a' choir.

19 No duine aig am bi cos bhriſte no làmh bhriſte,

20 No crotach, no na throich, no aig am bheil leus[b] air a ſhùil, no air am bheil càrr[c], no cloimh[d], no aig am bheil a chlochan brùite:

21 Cha dthig duine ſam bith do ſhliochd Aaroin an t ſagairt, anns am bheil gaoid, am fagus a thoirt ſeachad tabhartaſan an Tighearn a bheirear ſuas le teine: *tha* gaoid ann, cha dthig e 'm fagus a thoirt ſeachad arain a Dhé.

22 Ithidh e aran a Dhé, *araon* do'n *aran* ro-naomha, agus naomha.

23 Ach an taobh a ſteach do'n roinn-bhrat cha dthéid e, ni mò thig e 'm fagus do'n altair, a chionn gu *bheil* gaoid ann; a chum nach truaill e m' ionad naomha: oir *a ta* miſe an Tighearna 'gan naomhachadh.

24 Agus dh'innis Maois *ſo* do Aaron agus d'a mhic, agus do chloinn Iſraeil uile.

CAIB. XXII.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

2 Labhair ri h-Aaron, agus r'a mhic, iad 'gan ſgaradh ſéin o nithibh naomha chloinn Iſraeil, agus gun iad a thoirt taſonoir do[e] m'ainm naomhaſa, anns *na nithibh ſin* a naomhaicheas iad dhomh; *Is* miſe an Tighearna.

3 Abair riu, Ge b'e air bith e d'ar ſliochd uile am meaſg bhur ginealach, a théid a dh'ionnſuidh nan nithe naomha, a naomhaicheas clann Iſraeil do'n Tighearna, agus a neo-ghloine air, gearrar as an t-anam ſin as mo làthair: *Is* miſe an Tighearna.

4 Ge b'e air bith an duine do ſhliochd Aaroin a *ta* na lobhar, no air am bheil ſilteach[f], cha 'n ith e do na nithibh naomha gus am bi e glan. Agus ge b'e bheanas ri ni air bith *a ta* neo-ghlan leis a' mharbh, no duine aig am bheil a ſhìol a' dol uaith:

5 No ge b'e bheanas ri ni air bith a ſhnàigeas, leis an deanar neo ghlan e, no ri duine o'm faigh e neo-ghloine, ge b'e air bith neo-ghloine a bhies air.

6 An t-anam a bheanas ri h-aon air bith d'an leithidibh ſin, bithidh e neo-ghlan gu feaſgar, agus cha 'n ith e do na nithibh naomha, mur nigh e 'fheoil le h-uiſge.

7 Agus an uair a théid a' ghrian ſios, bithidh e glan, agus an déigh ſin ithidh e do na nithibh naomha, a chionn gur e a bhiadh e.

8 An ni ſin a bhàſaicheas leis féin, no a reubar *le ſiadh-bheathaichibh*, cha 'n ith e 'ga ſhalchadh féin leis: *Is* miſe an Tighearna.

9 Gleidhidh iad uime ſin m'ordugh[g], an t-eagal gu'n giulain iad peacadh air a ſhon, agus uime ſin gu'm faigh iad bàs, ma thruailleas iad e: Tha miſe an Tighearna 'gan naomhachadh.

10 Cha 'n ith coigreach ſam bith

do'n

[a] *ciurram, aineamh.* [b] *ball geal.* [c] *tachas tioram: ſcurvy.* Saſg. [d] *ſgrìobach; am ſcalan.* [e] *a thruailleadh.* [f] *creuchd ſilteach.* [g] *m'ſhaire.*

do'n ni naomha: 'cha 'n ith fear-
cuairt[a] an t-ſagairt, no ſeirbhiſeach
tuaraſdail do'n ni naomha.
11 Ach ma cheannaicheas an ſagart
duine le 'airgiod, ithidh e dheth, agus
eſan a rugadh na thigh: ithidh iad
d'a bhiadh.
12 Agus ma bhios nighean an t-ſa-
gairt *pòſda* ri coigreach, cha 'n fheud
i itheadh do thabhartas nan nithe
naomha.
13 Ach ma bhios nighean an t-ſa-
gairt na bantraich, no dealaichte *r'a
fear*, agus gun ſliochd aice, agus i air
pilltinn gu tigh a h-athar, mar na
h-òige, ithidh i do bhiadh a h-athar;
ach cha'n ith coigreach ſam bith
dheth.
14 Agus ma dh'itheas duine do'n
ni naomha gun fhios da, an ſin cuir-
idh e an cùigeadh *cuid* deth ris, agus
bheir e do'n t-ſagart *e, maille ris* an ni
naomha.
15 Agus cha truaill iad nithe
naomha chloinn Iſraeil a bheir iad
ſuas do'n Tighearna.
16 Ni mò a leigeas iad leo cionta
an euſaontais a ghiùlan an uair a
dh'itheas iad an nithe naomha: oir a
ta miſe an Tighearna 'gan naomh-
achadh.
17 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
18 Labhair ri h-Aaron agus r'a
mhic, agus ri cloinn Iſraeil uile, agus
abair riu, Ge b'e air bith e do thigh
Iſraeil, no do na coigreachaibh ann an
Iſrael, a bheir ſeachad a thabhartas
air ſon a bhòidean uile, no air ſon a
ſhaor thabhartaſan uile a bheir iad
ſeachad do'n Tighearna chum ìobairt-
loiſgte:
19 *Bheir ſibh ſeachad* d'ar toil féin
beathach firionn gun ghaoid do'n bhuar,
do na caoraich, no do na gabhraibh.
20 *Ach* ge b'e air bith ni anns am
bi gaoid, *ſin* cha dthoir ſibh ſeachad:
oir cha ghabhar air bhur ſon e.
21 Agus ge b'e air bith e a bheir
ſeachad ìobairt thabhartaſan-ſìth do'n
Tighearna, a choimhlíonadh *a* bhòid,
mar thabhartas ſaor-thoil, do'n bhuar,
no do na caoraich[b], bithidh e iomlan,
a chum as gu'n gabhar ris: cha bhi
gaoid ſam bith ann.
22 Dall, no briſte, no ciurramach,
no air am bi ſliodh[c], no càrr[d], no
cloimh, cha dthoir ſibh ſeachad iad
ſin do'n Tighearna, ni mò a bheir
ſibh tabhartas dhiubh a bheirear ſuas
le teine air an altair do'n Tigh-
earna.
23 Aon chuid tarbh no uan aig
am bi ni ſam bith thar a' chòir, no
dh'uireaſbhuidh na bhallaibh: ſin
feudaidh tu thoirt ſeachad *mar* ſhaor
thabhartas; ach air ſon bòide[e] cha
ghabhar ris.
24 Ni ſam bith a ta brùite, no
pronnta, no reubta[f], no gearrta, cha
dthoir ſibh ſeachad do'n Tighearna;
agus cha 'n ìobair[g] ſibh e 'nar tìr.
25 Agus o làimh coigrich cha
dthoir ſibh ſeachad aran bhur Dé do
h-aon diubh ſin; a chionn *gu'm bheil*
an truaillidheachd annta, *agus gu'm
bheil* gaoidean annta: cha ghabhar
riu air bhur ſon.
26 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
27 'Nuair a bheirear tarbh, no
caora, no gabhar, an ſin bithidh e
ſeachd laithean fuidh 'mhàthair; a-
gus o'n ochdamh là agus a ſin ſuas,
gabhar ris mar thabhartas a bheirear
ſuas le teine do'n Tighearna.
28 Agus *ma's* bò no caora *bhios ann*,
cha mharbh ſibh i féin agus a h-òg
ſan aon là.
29 Agus an uair a dh'ìobras ſibh
ìobairt-bhuidheachais do'n Tighearna,
ìobraidh ſibh i d'ar toil féin.
30 Air an là ſin féin ithear ſuas i,
cha 'n fhàg ſibh a' bheag dhith gu
maduinn: *Is* miſe an Tighearna.
31 Air an aobhar ſin gleidhidh ſibh
m'àitheanta, agus ni ſibh iad: *Is* miſe
an Tighearna.
32 Agus cha truaill ſibh m'ainm
naomha-ſa, agus bithidh mi air mo
naomhachadh am meaſg chloinn Iſ-
raeil: *Is* miſe an Tighearn a ta 'gar
naomhachadh,
33 A thug a mach ſibh a tìr na
h-Eiphit

[a] *eil-thireach, aoidhe, aithnichinn.* [b] *do'n mheanbh ſpreidh.* [c] *wen.* Saſg. [d] *ſcurvy.* Saſg. [e] *mòide.* [f] *briſte.* [g] *cha dean.* Eabh.

h-Eiphit gu bhi a'm' Dhia agaibh:
Is mise an Tighearna.

C A I B. XXIII.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
2 Labhair ri cloinn Israeil, agus
abair riu, *A thaobh* féisdean[a] an
Tighearna, a ghairmeas sibh *a bhi*
nan coimhghairmibh naomha, *is* iad
eadhon sin m'fhéisdean-sa.
3 Sè laithean nìthear obair, ach san
t-seachdamh là *bithidh* sàbaid fois,
coimhghairm naomha: obair sam bith
cha dean sibh *air*; *is e* sàbaid an
Tighearn e 'nar n-àitibh-còmhnuidh
uile.
4 *Is iad* sin féisdean an Tighearna,
eadhon coimhghairmean naomha, a
ghairmeas sibh nan amannaibh féin:
5 Anns a' cheud mhìos, air a'
cheathramh *là* deug do'n mhìos air
feasgar, *bithidh* càisg an Tighearna.
6 Agus air a chùigeadh là deug
do'n mhìos sin féin *bithidh* féisd an
arain neo-ghoirtichte do'n Tighearna:
seachd laithean ithidh sibh aran neo-
ghoirtichte.
7 Air a' cheud là bithidh coimh-
ghairm naomha agaibh: obair thràill-
eil[b] sam bith cha dean sibh *air*.
8 Ach bheir sibh seachad tabhartas
a bheirear suas le teine do'n Tigh-
earna seachd laithean: air an t-seachd-
amh là *bithidh* coimhghairm naomha;
obair thràilleil sam bith cha dean sibh
air.
9 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
10 Labhair ri cloinn Israeil, agus
abair riu, 'Nuair a thig sibh a dh'ionn-
suidh an fhearainn a bheir mise
dhuibh, agus a bhuaineas sibh 'fhogh-
ar, an sin bheir sibh sguab do cheud
thoradh bhur fogharaidh dh'ionnsuidh
an t-sagairt:
11 Agus luaisgidh e 'n sguab an
làthair an Tighearna, chum gu'n
gabhar rithe air bhur son: air an là
màireach an déigh na sàbaid luaisgidh
an sagart i.
12 Agus ìobraidh sibh air an là sin
an uair a luaisgeas sibh an sguab,
uan firionn gun ghaoid, do'n cheud
bhliadhna, mar ìobairt-loisgte do'n
Tighearna.
13 Agus *is e* a thabhartas-bìdh dà
dheicheamh earrann do phlùr mìn
measgta le h-ola, tabhartas a bheirear
suas le teine do'n Tighearna *chum*
fàile cùbhraidh: agus *bithidh* a tha-
bhartas-dìbhe do fhìon, an ceathramh
cuid do hin.
14 Agus cha 'n ith sibh aran, no
gràn cruadhaichte, no diasa glasa, gus
an là sin féin anns an d'thoir sibh ta-
bhartas a chum bhur Dé: *bithidh e*
na reachd bith-bhuan air feadh bhur
ginealacha, 'nar n-àitibh-còmhnuidh
uile.
15 Agus àirmhidh sibh dhuibh *féin*
o'n là màireach an déigh na sàbaid,
o'n là san d'thug sibh leibh sguab an
tabhartais-luaisgte: bithidh seachd sà-
baidean iomlan ann;
16 Eadhon gus an là màireach an
déigh na seachdamh sàbaide, àirmhidh
sibh leth-cheud là, agus bheir sibh
seachad nuadh thabhartas-bìdh do'n
Tighearna.
17 Bheir sibh leibh as bhur n-àitibh
còmhnuidh dà bhuilionn[c] luaisgte, do
dhà dheicheamh earrann; bithidh iad
do phlùr mìn, fuinear iad le taois
ghoirt, *bithidh iad* nan ceud thoradh
do'n Tighearna.
18 Agus bheir sibh seachad maille
ris an aran seachd uain gun ghaoid,
do'n cheud bhliadhna, agus aon tarbh
òg, agus dà reithe: bithidh iad nan
ìobairt-loisgte do'n Tighearna, maille
r'an tabhartas-bìdh, agus an tabhart-
ais-dìbhe, *eadhon* tabhartas a bheirear
suas le teine dh'fhàile cùbhraidh do'n
Tighearna.
19 An sin ìobraidh sibh aon mheann
do na gabhraibh mar ìobairt-pheac-
aidh, agus dà uan do'n cheud bhliadh-
na mar ìobairt thabhartasan-sìth.
20 Agus luaisgidh an sagart iad
maille ri aran a' cheud toraidh, *mar*
thabhartas-luaisgte an làthair an Tigh-
earna, maille ris an dà uan: bithidh
iad naomha do'n Tighearna chum an
t-sagairt.
21 Agus gairmidh sibh air an là
sin féin, *a chum as gu'm* bi e na choimh-
ghairm naomha dhuibh: obair thràill-
eil

[a] *féillean, laithean féille.* [b] *shaoithreachail.* [c] *mbuilionn.*

eil ſam bith cha dean ſibh *air: Bithidh e* na reachd ſiorruidh 'nar n-àitibh-còmhnuidh uile air feadh bhur ginealacha.

22 Agus an uair a bhuaineas ſibh foghar[a] bhur fearainn, cha ghearr thu gu buileach oiſinnean t'achaidh 'nuair a bhuaineas tu, ni mò a thionaileas tu dioghluim t-fhogharaidh: fàgaidh tu iad do'n bhochd agus do'n choigreach: *Is* miſe an Tighearna bhur Dia.

23 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

24 Labhair ri cloinn Iſraeil, ag ràdh, San t-ſeachdamh mìos, air a' cheud *là* do'n mhìos, bithidh sàbaid agaibh, cuimhneachan ſhéideadh thrompaidean[b], coimhghairm naomha.

25 Obair thràilleil ſam bith cha dean ſibh *air;* ach bheir ſibh ſeachad tabhartas a bheirear ſuas le teine do'n Tighearna

26 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

27 Mar an ceudna air an deicheamh *là* do'n t-ſeachdamh mìos ſo, *bithidh* là réite; bithidh e na choimhghairm naomha dhuibh, agus cràdhaidh ſibh bhur n-anmanna[c], agus bheir ſibh ſeachad tabhartas a bheirear ſuas le teine do'n Tighearna.

28 Agus obair ſam bith cha dean ſibh air an là cheudna; oir *is* là réite e dheanamh réite air bhur ſon an làthair an Tighearna bhur Dé.

29 Oir ge b'e anam nach bi fa chràdh ſan là ſin féin, gearrar as e o mheaſg a ſhluaigh.

30 Agus gach anam a ni obair ſam bith air an là cheudna, an t-anam ſin féin ſgrioſaidh miſe o mheaſg a ſhluaigh.

31 Obair ſam bith cha dean ſibh: *bithidh e na* reachd ſiorruidh air feadh bhur ginealacha 'nar n-àitibh-còmhnuidh uile.

32 *Bithidh* e dhuibh na ſhàbaid fois, agus cràdhaidh ſibh bhur n-anmanna air an naothadh *là* do'n mhìos air feaſgar: o fheaſgar gu feaſgar cumaidh ſibh bhur sàbaid.

33 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

34 Labhair ri cloinn Iſraeil, ag ràdh, Air a' chùigeadh là deug do'n t-ſeachdamh mìos ſo *bithidh* féiſd nam pàilliun[d] *rè* ſheachd laithean do'n Tighearna.

35 Air a' cheud là *bithidh* coimhghairm naomha: obair thràilleil ſam bith cha dean ſibh *air.*

36 Seachd laithean bheir ſibh ſeachad tabhartas a bheirear ſuas le teine do'n Tighearna: air an ochdamh là bithidh coimhghairm naomha agaibh, agus bheir ſibh ſeachad tabhartas a bheirear ſuas le teine do'n Tighearna; is ard choimhthional e; obair thràilleil ſam bith cha dean ſibh *air.*

37 *Is* iad ſin féiſdean an Tighearna, a ghairmeas ſibh *gu bhi* nan coimhghairmibh naomha, a thoirt ſeachad tabhartais a bheirear ſuas le teine do'n Tighearna, tabhartas-loiſgte, agus tabhartas-bìdh, ìobairt, agus tabhartaſan-dibhe, gach ni air a là féin;

38 A thuilleadh air sàbaidibh an Tighearna, agus a thuilleadh air bhur tiodhlacaibh, agus a thuilleadh air bhur-bòidibh uile, agus a thuilleadh air ar ſaor-thabhartais uile, a bheir ſibh do'n Tighearna.

39 Mar an ceudna air a chùigeadh là deug do'n t-ſeachdamh mìos, an uair a chruinnicheas ſibh a ſtigh toradh an fhearainn, cumaidh ſibh féiſd do'n Tighearna ſeachd laithean: air a' cheud là *bithidh* sàbaid[e], agus air an ochdamh là *bithidh* sàbaid.

40 Agus gabhaidh ſibh dhuibh *féin* air a' cheud là meas[f] *chraobh àluinn,* geugan chrann pailm, agus geugan chraobh tiugh, agus ſeileach an t-ſruthain; agus ni ſibh gairdeachas an làthair an Tighearna bhur Dé ſeachd laithean.

41 Agus cumaidh ſibh e na ſhéiſd do'n Tighearna ſeachd laithean ſa bhliadhna: *bithidh* e na reachd ſiorruidh air feadh bhur ginealacha; cumaidh ſibh e ſan t-ſeachdamh mìos.

42 Ann am pàilliunaibh[g] gabhaidh ſibh còmhnuidh ſeachd laithean;

gabhaidh

[a] *foghara.* [b] *ſtoc, adharc.* [c] *cuiridh ſibh bhur n' anmanna fa àmhghar.* [d] *féill nam bùth.* [e] *fois, tamh.* Eabh. [f] *meanglain.* [g] *bùthaibh.*

gabhaidh gach aon a rugadh na Is-
raelach còmhnuidh ann am pàilliun-
aibh;
43 A chum as gu'm bi fios aig bhur
ginealaich gu'n d'thug mise air cloinn
Israeil còmhnuidh ghabhail ann am
pàilliunaibh, 'nuair a thug mi mach
iad a tìr na h-Eiphit: *Is* mise an
Tighearna bhur Dia.
44 Agus chuir Maois an céill
do chloinn Israeil féisdean an Tigh-
earna.

CAIB. XXIV.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
2 Aithn do chloinn Israeil iad a
thoirt a' t'ionnsuidh oladh fìor-ghlan a'
chroinn-olaidh, brùite air son an t-so-
luis, a thoirt air na lòchrain lasadh an
còmhnuidh.
3 An taobh a muigh do bhrat na
fianuis, ann am pàilliun a' choimh-
thional, orduichidh Aaron e o fheasg-
gar gu maduinn, an làthair an Tigh-
earn an còmhnuidh: *bithidh e* na
reachd sìorruidh air feadh bhur gi-
nealacha.
4 Orduichidh e na lòchrain air a'
choinnleir fhìor-ghlan an làthair an
Tighearn an còmhnuidh.
5 Agus gabhaidh tu plùr mìn, a-
gus fuinidh tu dà bhreacaig dheug
dheth: dà dheicheamh earranna bith-
idh ann an aon bhreacaig.
6 Agus suidhichidh tu iad ann an
dà shreath, sè ann an sreath, air a'
bhòrd fhìor-ghlan an làthair an Tigh-
earna.
7 Agus cuiridh tu tùis fhìor-ghlan
air *gach* sreath, a chum as gu'm bi i
air an aran mar chuimhneachan, *eadhon*
tabhartas a bheirear suas le teine do'n
Tighearna.
8 Gach aon là sàbaid cuiridh e 'n
ordugh e an làthair an Tighearn an
còmhnuidh, *air a ghabbail* o chloinn
Israeil le coimhcheangal sìorruidh.
9 Agus is le Aaron agus a mhic e,
agus ithidh iad e san ionad naomha;
oir *a ta* e ro-naomha dha, do tha-
bhartasaibh an Tighearn a bheirear
suas le teine, le reachd[a] bith-bhuan.

10 Agus chaidh mac ban-Israelich,
aig an *robh* Eiphiteach na athair, a
mach am measg chloinn Israeil: agus
bha mac na ban-Israelich agus duine
do Israel a comhstri' sa' champ.
11 Agus mhaslaich[b] mac na ban-
Israelich ainm *an Tighearna*, agus
mhallaich e: agus thug iad gu Maois
e (agus *b'e* ainm a mhàthar Selomit,
nighean Dhibri, do thréibh Dhan;)
12 Agus chuir iad an làimh[c] e,
chum gu'n nochdtadh dhoibh inntinn
an Tighearna.
13 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
14 Thoir a mach esan a mhallaich
an taobh a muigh do'n champ, agus
cuireadh iadsan uile a chual' *e* an
làmhan air a cheann, agus clachadh
an coimhchruinneach uile e.
15 Agus labhraidh tu ri cloinn
Israeil, ag ràdh, Ge b'e neach a
mhallaicheas a Dhia, giùlainidh e a
pheacadh.
16 Agus esan a mhaslaicheas ainm
an Tighearna, cuirear gu cinnteach
gu bàs e; clachaidh gu deimhin an
coimhchruinneach uile e: an coig-
reach co math agus esan a rugadh
san dùthaich, 'nuair a mhaslaicheas e
ainm *an Tighearna*, cuirear gu bàs e.
17 Agus esan a mharbhas duine
sam bith, cuirear gun teagamh gu
bàs e.
18 Agus esan a mharbhas ainmhidh,
ni e dìoladh air a shon: ainmhidh air
son ainmhidh.
19 Agus ma bheir duine ciurram
air a choimhearsnach, mar a rinn e,
mar sin nìthear air:
20 Briseadh[d] air son brisidh, sùil
air son sùla, fiacail air son fiacla, mar
a thug e ciurram air duine, mar sin
nìthear air.
21 Agus esan a mharbhas ain-
mhidh, dìolaidh se[e] e: agus an
neach a mharbhas duine, cuirear gu
bàs e.
22 Bithidh an t-aon ghnè lagha
agaibh co math air son a' choigrich,
agus air son neach do mhuinntir bhur
dùthcha féin: oir *is* mise an Tigh-
earna bhur Dia.

[a] *lagh, ordugh.* [b] *dh' ainmich.* Eabh. [c] *ann an gaintir, 'am prìosun.*
[d] *Bristeadh.* [e] *bheir e air ais.* Eabh.

23 Agus labhair Maois ri cloinn
Israeil, iad a thoirt leo esan a mhall-
aich, an taobh a muigh do'n champ,
agus a chlachadh le clachaibh[a]; agus
rinn clann Israeil mar a dh'àithn an
Tighearna do Mhaois.

CAIB. XXV.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois ann an sliabh Shinai, ag
ràdh,
2 Labhair ri cloinn Israeil, agus
abair riu, 'Nuair a thig sibh chum na
tìre a bheir mise dhuibh, an sin
gleidhidh an tìr sàbaid do'n Tigh-
earna.
3 Sè bliadhnan cuiridh tu t-fhear-
ann[b], agus sè bliadhnan bearraidh[c]
tu t'fhìon-lios, agus cruinnichidh tu
stigh a thoradh.
4 Ach anns an t-seachdamh bliadh-
na bithidh sàbaid fois do'n tìr, sàbaid
do'n Tighearna: t'fhearann cha chuir
thu, agus t'fhìon-lios cha bhearr thu.
5 An ni sin a dh'fhàsas dheth féin
do t-fhoghar, cha bhuain thu, agus
fìon-dhearca t'fhìonain[d] neo-dheas-
aichte cha chruinnich thu: na bliadh-
na fois bithidh i do'n tìr.
6 Agus bithidh sàbaid na tìre[e] na
biadh dhuibh; dhuit féin, agus do d'
òglach agus do d' bhan-oglaich, agus
do d' fhear-tuarasdail, agus do d'
choigreach a ta air chuairt maille riut;
7 Agus do d' spréidh, agus do'n
fhiadh-bheathach a *ta* ann ad fhear-
ann; bithidh a cinneas uile chum
bìdh.
8 Agus àirmhidh tu dhuit féin
seachd sàbaidean do bhliadhnaibh,
seachd uairean seachd bliadhna: agus
bithidh ùine nan seachd sàbaidean do
bhliadhnaibh dhuit na naoi bliadhnaibh
's dà fhichead.
9 An sin bheir thu fa'near tromp-
aid na Iubile a shéideadh san t-seachd-
amh mìos, air an deicheamh *là* do'n
mhìos: ann an là na réite bheir sibh
fa'near an trompaid a shéideadh air
feadh bhur tìre uile.
10 Agus naomhaichidh sibh an
deicheamh bliadhna 's dà fhichead,
agus gairmidh sibh saorsa air feadh na
dùthcha, d'a luchd-àiteachaidh uile:
bithidh i na Iubile dhuibh, agus pill-
idh sibh gach duine chum a sheilbhe
féin, agus pillidh gach duine agaibh
g'a theaghlach féin.
11 Bithidh an deicheamh bliadhna
sin agus dà fhichead na Iubile dhuibh;
cha chuir sibh *sìol*, ni mò a bhuaineas
sibh an ni a dh'fhàsas dheth féin inn-
te, ni mò a thionaileas sibh *dearcan-
fìona* innte do d' fhìonain neo-dheas-
aichte:
12 Oir is Iubile i, bithidh i naomha
dhuibh; ithidh sibh a cinneas as an
fhearann.
13 Ann am bliadhna na Iubile so
pillidh gach duine agaibh a dh'ionn-
suidh a sheilbhe féin.
14 Agus ma reiceas tu bheag ri d'
choimhearsnach, no ma cheannaicheas
tu *bheag* o làimh do choimhearsnaich:
cha dean sibh eucoir[f] air a' chéile.
15 A réir àireimh nam bliadhna
an déigh na Iubile ceannaichidh tu
o d' choimhearsnach, *agus* a réir àir-
eimh bhliadhna nan toraidh reicidh e
riut.
16 A réir lìonmhoireachd nam
bliadhna meudaichidh tu a luach, a-
gus a réir teircid nam bliadhna beag-
aichidh tu a luach: oir *a réir* àireimh
bhliadhna nan toraidh tha e a' reiceadh
riut.
17 Agus cha dean sibh eucoir air
a' chéile: ach bithidh eagal do Dhé
ort; oir *is* mise an Tighearna bhur
Dia.
18 Uime sin ni sibh mo reachdan,
agus gleidhidh sibh mo bhreitheanais,
agus ni sibh iad; agus gabhaidh sibh
còmhnuidh san tìr ann an tèaruint-
eachd[g].
19 Agus bheir am fearann a mach
a thoradh, agus ithidh sibh bhur sàth,
agus gabhaidh sibh còmhnuidh ann
gu tèaruinte.
20 Agus ma their sibh, Ciod a
dh'itheas sinn air an t-seachdamh
bliadhna? feuch, cha chuir sinn *sìol*, ni
mò a chruinnicheas sinn ar toradh:
21 An sin àithnidh mise mo
bheannachadh

[a] *a' chlochadh le clochaibh.* [b] *siolchuiridh tu t'achadh.* [c] *deasaichidh.*
[d] *do chraoibh-fìona; t'fhìneamhain.* Eir. [e] toradh *sàbaid na tìre.*
[f] *foirneart.* [g] *tèaruntachd.*

bheannachadh oirbh san t-seathadh
bliadhna, agus bheir i mach toradh
air son thri bliadhna.

22 Agus cuiridh sibh air an ochd-
amh bliadhna, agus ithidh sibh *fathast*
do'n t-seann toradh gus an naothadh
bliadhna; gus an dthig a toradh a
stigh, ithidh sibh *do'n* t-seann *toradh*.

23 Cha reicear am fearann gu
bràth; oir *is* leamsa am fearann: oir
is coigrich agus luchd-cuairt sibhse
maille rium.

24 Agus ann am fearann bhur
seilbh uile, bheir sibh saorsa[a] do'n
fhearann.

25 Ma dh'fhàs do bhràthair bochd,
agus gu'n do reic e *cuid* d'a sheilbh,
agus ma thig a h-aon air bith d'a
dhillsibh g'a fhuasgladh, an sin fuasg-
laidh e an ni a reic a bhràthair.

26 Agus mur 'eil aig an duine
neach g'a fhuasgladh, agus gur urr-
ainn e féin 'fhuasgladh:

27 An sin àirmheadh e bliadhnan
a reicidh, agus thugadh e air ais an nì
a ta thairis do'n duine ris an do reic
se e: a chum's gu'm pill[b] e dh'ionn-
suidh a sheilbhe féin.

28 Agus mur urrain e *sin* a thoirt
air ais da, an sin fanaidh an ni sin a
reiceadh ann an làimh an neach a
cheannaich e, gu bliadhna na Iubile:
agus anns an[c] Iubile théid e mach, a-
gus pillidh e chum a sheilbhe.

29 Agus ma reiceas duine tigh-
còmhnuidh ann am baile cuartaichte
le balladh, an sin feudaidh e 'fhuasg-
ladh an taobh a stigh do bhliadhn'
iomlain an dèigh a reiceadh: *an taobh
a stigh do* bhliadhn' iomlain feudaidh e
'fhuasgladh.

30 Agus mur fuasglar e gus an
coimhlionar bliadhn' iomlan; an sin
daingnichear an tigh, a *tha* 'n taobh
a stigh do'n bhaile cuartaichte le balla,
gu bràth dhasan a cheannaich e, air
feadh a ghinealacha: cha dthéid e
mach san Iubile.

31 Ach measar tighean nam bail-
tean nach 'eil cuartaichte le balla, mar
fhearann na tìre: feudar am fuasg-
ladh, agus théid iad a mach san Iu-
bile.

32 Gidheadh, bailtean nan Lebhith-
each, *agus* tighean bhailtean an seilbh,
feudaidh na Lebhithich am fuasgladh
uair sam bith.

33 Agus ma cheannaicheas duine o
na Lebhithich, an sin théid an tigh a
reiceadh, agus baile a sheilbh, a mach
san Iubile: oir *is iad* tighean bhail-
tean nan Lebhitheach an sealbh am
measg chloinn Israeil.

34 Ach cha'n fheudar am fearann
a tha'n taobh a muigh d'am bailtibh
a reiceadh, oir *is e* sin an seilbh
mhairtheanach[d].

35 Agus ma dh'fhàsas do bhràthair
bochd, agus gu'n dthéid e dhéigh-
làimh agad, an sin fuasglaidh[e] tu air:
fuadh, ged' is coigreach no fear-cuairt
e; agus bithidh e beo maille riut.

36 Na gabh riadh uaith no tuille 's
a thug thu dha[f]: ach biodh eagal do
Dhé ort, a chum's gu'm feud do
bhràthair a bhi beo maille riut.

37 T'airgiod cha dthoir thu dha
air riadh, agus air son buannachd cha
dthoir thu dha do bhiadh.

38 *Is* mise an Tighearna bhur Dia,
a thug a mach sibh a talamh na
h-Eiphit, a thoirt dhuibh tìr Cha-
naain, *agus* a bhi 'm Dhia agaibh.

39 Agus ma dh'fhàs do bhràthair
a ta làimh riut bochd, agus gu'n
do reiceadh riut e; cha dthoir thu
air seirbhis a dheanamh dhuit mar
thràill:

40 Mar sheirbhiseach tuarasdail,
agus mar fhear-cuairt, bithidh e maille
riut; gu bliadhna na Iubile ni e seir-
bhis dhuit.

41 Agus *an sin* imichidh e uait, e
féin agus a chlann maille ris, agus
pillidh e chum a theaghlaich féin, a-
gus a chum seilbh 'aithreacha pillidh e.

42 Oir *is* iadsan mo sheirbhisich, a
thug mi mach a tìr na h-Eiphit: cha
reicear iad mar thràillibh.

43 Cha ghnàthaich thu uachdran-
achd[g] os a cheann le h-an-iochd, ach
bithidh eagal do Dhé ort.

[a] *fuasgladh.* [b] *till.* [c] *ann san.* [d] *bhuan, shiorruidh.*
[e] *cabhairidh, fòiridh.* [f] *teachd a mach, fàs.* [g] *Cha riaghlaich
thu.*

44 Agus do thràillean, agus do bhan-tràillean, a bhios agad, do na cinnich a ta m'ar timchioll *bithidh iad*; uatha-san ceannaichidh sibh tràillean agus ban-tràillean.

45 Agus a thuilleadh air so, o chloinn nan coigreach a'ta air chuairt 'nar measg, uathasan ceannaichidh sibh, agus o'n teaghlaichibh a *ta* maille ruibh, a ghin iad 'nar fearann: agus bithidh iad nan seilbh dhuibh.

46 Agus gabhaidh sibh iad mar oighreachd d'ar cloinn 'nar déigh, a chum *an* sealbhachadh *mar* oighreachd, bithidh iad dhuibh nan tràillibh a chaoidh: ach os cionn bhur bràithre cloinn Israeil, *eadhon* os cionn a chéile cha ghnàthaich sibh uachdranachd[a] le h-an-iochd.

47 Agus ma dh'fhàsas fear-cuairt no coigreach saibhir[b] làimh riut, agus ma dh'fhàsas do bhràthair làimh ris bochd, agus gu'n reic se e féin ris a' choigreach, ris an fhear-chuairt a tha maille riut, no ri gineal teaghlaich a' choigrich:

48 An déigh a reiceadh, feudar 'fhuasgladh a rìs; feudaidh aon d'a bhràithribh 'fhuasgladh:

49 Feudaidh aon chuid bràthair 'athar, no mac bhràthar 'athar 'fhuasgladh, no feudaidh aon neach a tha dlù an dàimh dha d'a theaghlach féin 'fhuasgladh; no ma's urrainn e, feudaidh se e féin fhuasgladh.

50 Agus ni e cunntas ris-san a cheannaich e o'n bhliadhna anns an do reiceadh ris e, gu bliadhna na Iubile: agus bithidh luach a reicidh a réir àireimh nam bliadhna, a réir aimsir feirbhisich tuarasdail bithidh e dha.

51 Ma *bhios* fathast mòran bhliadhnacha *ri teachd*, d'an réir sin bheir e a rìs[c] luach 'fhuasglaidh, as an airgiod air son an do cheannaicheadh e.

52 Agus mur 'eil ri teachd ach beagan bhliadhnacha gu bliadhna na Iubile, an sin ni e cunntas ris, *agus* a réir a bhliadhnacha bheir e dha a rìs luach 'fhuasglaidh.

53 Mar sheirbhiseach *a ta* air thuarasdal o bhliadhna gu bliadhna bithidh e maille ris: cha ghnàthaichear uachdranachd os a cheann le h-an-iochd ann do shealladh-sa.

54 Agus mur fuasglar e anns *na bliadhnaibh* sin, an sin théid e mach ann am bliadhna na Iubile, e féin agus a chlann maille ris.

55 Oir dhomhsa tha clann Israeil nan seirbhisich; *is* iadsan mo sheirbhisich, a thug mi mach a tìr na h-Eiphit: *Is* mise an Tighearna bhur Dia.

CAIB. XXVI.

CHA dean sibh dhuibh féin iodholan[d] no *coslas* snaidhte, agus cha chuir sibh suas iomhaigh[e] dhuibh féin, ni mò shuidhicheas sibh clochdhealbh 'nar fearann, gu cromadh sìos d'i: oir *is* mise an Tighearna bhur Dia.

2 Gleidhidh sibh mo shàbaidean, agus bheir sibh urram do m'ionad naomha: *Is* mise an Tighearna.

3 Ma ghluaiseas sibh a'm' reachdaibh, agus *ma* ghleidheas sibh m'àitheanta; agus *ma* ni sibh iad,

4 An sin bheir mise dhuibh uisge[f] na àm féin, agus bheir am fearann a mach a thoradh, agus bheir craobhan na machrach am meas uatha.

5 Agus ruigidh bhur bualadh am fìon-fhoghar, agus ruigidh *bhur* fìon-fhoghar àm an t-sìl-chur, agus ithidh sibh bhur n-aran gu'r sàth, agus gabhaidh sibh còmhnuidh gu tèaruinte 'nar tìr.

6 Agus bheir mise sìth san tìr, agus luidhidh sibh sìos, agus cha chuir neach sam bith eagal *oirbh*: agus sgriosaidh[g] mi droch bheathaichean as an dùthaich, agus cha dthéid an claidheamh tre bhur fearann.

7 Agus ruaigidh sibh bhur naimhdean, agus tuitidh iad romhaibh leis a' chlaidheamh.

8 Agus cuiridh cùigear dhibh an ruaig air ceud, agus cuiridh ceud dhibh an ruaig air deich mìle: agus tuitidh bhur naimhdean romhaibh leis a' chlaidheamh.

c 9 Oir

[a] *riaghladh, tighearnas, maighstireachd.* [b] *beartach.* [c] *aisigidh e.* [d] *dealbhan, cuspairean-aoraidh faoin.* [e] *standing image, statue.* Sasg. [f] *frasachd.* [g] *fàsaichidh, dìthichidh, fuadaichidh.*

9 Oir amhaircidh mise oirbh[a], a-
gus ni mi siolmhor sibh, agus bheir
mi oirbh fàs lìonmhor, agus daing-
nichidh mi mo choimhcheangal ribh.
10 Agus ithidh sibh an seann *lòn*,
agus bheir sibh a mach an seann *lòn*
air son an *lòin* nomha[b].
11 Agus suidhichidh mi mo phàil-
liun 'nar measg: agus cha bhi gràin
aig m'anam dhibh.
12 Agus imichidh mi 'nar measg,
agus bithidh mi a'm' Dhia dhuibh, a-
gus bithidh sibhse 'nar sluagh dhomhsa.
13 *Is* mise an Tighearna bhur
Dia, a thug sibhse a mach a tìr na
h-Eiphit, a chum as nach bitheadh
sibh 'nar tràillibh aca, agus bhris mi
cuibhreach[c] bhur cuinge, agus thug
mi oirbh imeachd dìreach.
14 Ach mur éisd sibh rium, agus
mur dean sibh na h-àitheanta sin
uile:
15 Agus ma ni sibh tàir air mo
reachdaibh, no ma ghabhas bhur
n-anam gràin do m'bhreitheanais, air
chor as nach dean sibh m'àitheantan
uile, *ach* gu'm bris sibh mo choimh-
cheangal;
16 Ni mise mar an ceudna so
ribhse, orduichidh mi oirbh uamhas,
caitheamh, agus fiabhrus loisgeach, a
chaitheas na sùilean, agus a bheir
cràdh do'n chridhe: agus cuiridh sibh
bhur sìol ann an dìomhanas, oir ith-
idh bhur naimhdean e.
17 Agus cuiridh mise mo ghnùis
'nar n-aghaidh, agus marbhar sibh an
làthair bhur naimhdean: agus rìogh-
aichidh a' mhuinntir air am beag sibh
oirbh, agus teichidh sibh an uair nach
bi neach an tòir oirbh.
18 Agus mur éisd sibh rium fathast
air a shon so uile, an sin ni mi peanas
oirbh seachd uaire ni's mò air son
bhur peacanna.
19 Agus brisidh mi uabhar bhur
cumhachd; agus ni mi bhur neamha
mar iarunn, agus bhur talamh mar
umha:
20 Agus caithear bhur spionnadh
ann an dìomhanas; oir cha dthoir
bhur fearann 'fhàs uaith, ni mò a
bheir craobhan na tìre am meas
uatha.
21 Agus ma théid sibh a'm' agh-
aidh, agus nach eisd sibh rium; bheir
mi seachd uaire tuille phlàighean
oirbh a réir bhur peacanna.
22 Cuiridh mi mar an ceudna
fiadh-bheathaichean na machrach 'nar
measg, a bheir uaibh bhur clann, agus
a chuireas as d'ar spréidh, agus a ni
sibh tearc ann an àireamh, agus bith-
idh bhur rathaide[d] *mòra* fàs.
23 Agus mur leasaichear leamsa
sibh leis *na nithibh* sin, ach gu'n dthéid
sibh a'm' aghaidh:
24 An sin théid mise mar an ceud-
na 'nar n-aghaidh-sa, agus ni mi pean-
as oirbh seachd uairean fathast air son
bhur peacanna.
25 Agus bheir mi claidheamh oirbh,
a dhìolas cùis-ghearain mo choimh-
cheangail; agus an uair a chruinnich-
ear sibh an ceann a chéile an taobh a
stigh d'ar bailtibh, cuiridh mi a'
phlàigh 'nar measg; agus bheirear
thairis sibh do làimh naimhdean.
26 An uair a bhriseas mise lorg
bhur n-arain, fuinidh deich mnài
bhur n-aran ann an aon'àmhuinn, a-
gus bheir iad air ais *dhuibh* bhur n-a-
ran air a thomhas, agus ithidh sibh a-
gus cha bhi sibh sàthach.
27 Agus mur éisd sibh air son so
uile rium, ach gu'n dthéid sibh a'm'
aghaidh,
28 An sin théid mise 'nar n-agh-
aidh-sa mar an ceudna ann am fraoch
feirge; agus smachdaichidh mise,
eadhon mise, seachd uaire sibh air son
bhur peacanna,
29 Agus ithidh sibh feoil bhur
mac, agus feoil bhur nigheana ithidh
sibh.
30 Agus cuiridh mise as d'ar n-ion-
adaibh arda, agus gearraidh mi sìos
bhur dealbhan, agus tilgidh mi bhur
colannan[e] air colannaibh bhur n-ìo-
dhol, agus gabhaidh m'anam gràin
dibh.
31 Agus cuiridh mi bhur bailtean
fàs, agus bheir mi lom-sgrìob air[f]
bhur n-ionada naomha, agus cha

[a] *bithidh speis agamsa dhuibh.* [b] *nuadha.* [c] *bannan.* [d] *ròide, rìghean.* [e] *cuirp.* [f] *sgriosaidh mi, fàsaichidh mi.*

ghabh mi fàile bhur boltrach cùbhraidh [a].
32 Agus bheir mi lom-sgrìob air an fhearann: agus bithidh ioghnadh [b] air bhur naimhdibh a ghabhas còmhnuidh ann, mu'n *ni* sin.,
33 Agus sgapaidh mi sibh am measg nan cinneach, agus tairngidh [c] mi claidheamh 'nar déigh: agus bithidh bhur fearann creachta, agus bhur bailtean fàs.
34 An sin mealaidh am fearann a shàbaidean, am fad sa luidheas e fàs, agus *a bhios* sibhse ann am fearann bhur naimhdean; *eadhon* an sin gabhaidh am fearann fois, agus mealaidh e a shàbaidean.
35 Am fad 's a luidheas *am fearann* fàs, bithidh fois aige: do bhrigh nach robh fois aige 'nar sàbaidibhsa 'nuair a ghabh sibh còmhnuidh ann [d].
36 Agus orra-san a dh'fhàgar *beo* dhibh, cuiridh mise laigse [e] nan cridheachaibh ann an dùthchaibh an naimhdean; agus cuiridh fuaim duilleig air chrith iad air theicheadh; agus teichidh iad, mar gu'm biodh iad a' teicheadh o'n chlaidheamh: agus tuitidh iad an uair nach bi neach an tòir orra.
37 Agus tuitidh iad air muin a chéile, mar gu'm b'ann roimh 'n chlaidheamh, 'nuair nach bi neach an tòir orra; agus cha bhi neart agaibh gu seasamh roimh bhur naimhdibh.
38 Agus théid as duibh am measg nan cinneach, agus ithidh talamh bhur naimhdean suas sibh.
39 Agus seargaidh iadsan a dh'fhàgar dhibh as nan aingidheachd ann an dùthchaibh bhur naimhdean, agus mar an ceudna ann an eu-ceartabh an aithreacha seargaidh iad as maille riu.
40 Ma dh'aidicheas iad an aingidheachd féin, agus aingidheachd an aithreacha, a réir an eusaontais a rinn iad a'm' aghaidh, agus mar an ceudna gu'n do ghluais iad a'm' aghaidh:
41 Agus gu'n do ghluais mise mar an ceudna nan aghaidhsan, agus gu'n dthug mi iad do dhùthaich an naimhdean; ma bhios an sin an cridhe neo-thimchioll-ghearrt' air irioslachadh [f], *air chor as gu'n* gabh iad ri peanas an aingidheachd.
42 An sin cuimhnichidh mise mo choimhcheangal ri Iacob, agus mar an ceudna mo choimhcheangal ri h-Isaac, agus mar an ceudna mo choimhcheangal ri h-Abraham cuimhnichidh mi, agus cuimhnichidh mi am fearann.
43 Tréigear mar an ceudna am fearann leo, agus mealaidh e a shàbaidean, am feadh 's a ta e na luidhe fàs as an eugmhais; agus gabhaidh iad ri peanas an aingidheachd; a chionn, eadhon a chionn gu'n d'rinn iad tàir air mo bhreitheanais, agus a chionn gu'n do ghabh an anam gràin do m' reachdaibh.
44 Agus gidheadh air a shon so uile, 'nuair a bhios iad ann an tìr an naimhdean, cha tilg mi uam iad, ni mò a ghabhas mi gràin diubh, g'an sgrios gu tur, *agus* a bhriseadh mo choimhcheangail riu: oir *is* mise an Tighearn an Dia.
45 Ach air an sgàth-san cuimhnichidh mi coimhcheangal an sinnsirean, a thug mi mach a tìr na h-Eiphit, ann an sealladh nan cinneach, a chum as gu'm bithinn a'm' Dhia aca: *Is* mise an Tighearna.
46 *Is iad* sin na h-orduighean, agus na breitheanais, agus na reachdan, a rinn an Tighearna eadar e féin agus clann Israeil, ann an sliabh Shinai, le làimh Mhaois.

CAIB. XXVII.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,
2 Labhair ri cloinn Israeil, agus abair riu, 'Nuair a bheir duine bòid àraidh [g], *buinidh* na h-anmanna [h] do'n Tighearn, a réir do mheas:
3 Agus bithidh do mheas, air an fhirionnach o fhichead bliadhna dh'aois, eadhon gu tri fichead bliadhna dh'aois; bithidh eadhon do mheas leth-cheud secel airgid, a réir secel an ionaid naomha.

4 Agus

[a] *blasda.* [b] *uambann.* [c] *ruisgidh.* [d] *air.* Eabh. [e] *laige.*
[f] *irisleachadh.* [g] *shònraichte.* [h] *pearsanna.*

4 Agus ma's bainionnach *a bhios* ann, an sin bithidh do mheas deich secail 'ar fhichead.

5 Agus ma's gille o chùig bliadhna dh'aois, eadhon gu fichead bliadhna dh'aois, a bhios ann, an sin bithidh do mheas air son an fhirionnaich fichead secel, agus air son na bainionnaich deich seceil.

6 Agus ma's ann o mhìos a dh'aois, eadhon gu cùig bliadhna dh'aois; an sin bithidh do mheas air son an fhirionnaich cùig seceil airgid, agus air son na bainionnaich *bithidh* do mheas tri seceil airgid.

7 Agus ma's ann *a bhios* e o thri fichead bliadhna dh'aois agus os a chionn, *ma's* firionnach e, an sin bithidh do mheas cùig seceil deug, agus air son bainionnaich deich seceil.

8 Ach ma bhios e ni's bochda na do mheas, an sin nochdaidh se e féin an làthair an t-sagairt, agus measaidh an sagart e: a réir a chomais-san a thug a' bhòid, measaidh an sagart e.

9 Agus ma's ainmhidh *e* d'an dthoir daoine tabhartas a dh'ionnsuidh an Tighearna; bithidh gach ni a bheir *duine* d'an leithidibh sin do'n Tighearna, naomha.

10 Cha mhùth [a] se e, ni mò mhalairticheas se e, math air son uile, no olc air son maith: ach ma mhalairticheas e air chor sam bith ainmhidh air son ainmhidh; an sin bithidh e féin, agus *an ni a fhuaradh* na mhalairt, naomha.

11 Agus ma's ainmhidh neo-ghlan sam bith *e*, do nach dthoir iad seachad tabhartas do'n Tighearna; an sin nochdaidh e 'n t-ainmhidh an làthair an t-sagairt:

12 Agus measaidh an sagart e, ma's math no olc e; mar a mheasas tusa *a bhios a'd'* shagart e, mar sin bithidh e.

13 Ach ma dh'fhuasglas e air chor sam bith e, an sin cuiridh e an cùigeadh cuid deth ri d' mheas-sa.

14 Agus an uair a choisrigeas duine a thigh, *gu bhi* naomha do'n Tighearna, an sin measaidh an sagart e ma's math no olc e: mar a mheasas an sagart e, mar sin seasaidh e.

15 Agus ma dh'fhuasglas esan a choisrig e, a thigh, an sin cuiridh e an cùigeadh *cuid* a dh'airgiod do mheas-sa ris, agus bithidh e leis.

16 Agus ma choisrigeas duine d'on Tighearna *cuid* do fhearann a sheilbh, an sin bithidh do mheas a réir a shìl [b]: *measar* homer do shìol eorna aig leth-cheud secel airgid.

17 Ma choisrigeas e 'fhearann o bhliadhna na Iubile, a réir do mheas seasaidh e.

18 Ach ma choisrigeas e 'fhearann an déigh na Iubile, an sin àirmhidh [c] an sagart an t-airgiod da a réir nam bliadhn' a ta ri teachd [d], eadhon gu bliadhna na Iubile, agus leigear sin sìos do d' mheas.

19 Agus ma dh'fhuasglas am fear a choisrig am fearann e air chor sam bith; an sin cuiridh e an cùigeadh *cuid* a dh'airgiod do mheas-sa ris, agus daingnichear dha e.

20 Agus mur fuasgail e 'm fearann, no mur reic e 'm fearann ri duin' eile, cha 'n fhuasglar ni's mò e.

21 Ach bithidh am fearann, an uair a théid e mach san Iubile, naomha do'n Tighearna, mar fhearann coisrigte [e]: buinidh a shealbh do'n t-sagart.

22 Ach ma choisrigeas *duine* do'n Tighearna fearann a cheannaich e, nach ann do fhearann a sheilbh;

23 An sin àirmhidh an sagart dha luach do mheas, *eadhon* gu bliadhna na Iubile, agus bheir e seachad do mheas *féin* san là sin, *mar* ni naomha do'n Tighearna.

24 Ann am bliadhna na Iubile pillidh am fearann d'a ionnsuidh-san o'n do cheannaicheadh e, *eadhon* d'a ionnsuidh-san d'*am buineadh* sealbh an fhearainn.

25 Agus bithidh do mheas-sa uile a réir secel an ionaid naomha; bithidh fichead gerah san t-secel.

26 Ach ceud-ghin nan ainmhidhean, bu chòir a bhi na cheud-ghin do'n

[a] *Cha'n atharraich; cha chaochail.* [b] *churachd.* [c] *cunntaidh.* [d] *a mhaireas.* [e] *air a chur air leth.*

do'n Tighearna, cha choisrig duine
air bith sin, to dhiubh *is* tarbh, no
caora e: *is* leis an Tighearn e.
27 Ach ma'*s ann* do bheathach
neo-ghlan *e*, an sin fuasglaidh se *e*
a réir do mheas-sa, agus cuiridh e
an cùigeadh *cuid* deth ris; no mar
fuasglar e, an sin reicear e a réir do
mheas.
28 Gidheadh cha reicear agus cha
'n fhuasglar ni sam bith coisrigte a
choisrigeas duine do'n Tighearna, do
gach ni a ta aige, araon do dhuine a-
gus do ainmhidh, agus do fhearann
a sheilbh: tha gach ni coisrigte ro-
naomha do'n Tighearna.
29 Cha 'n fhuasglar ni sam bith
coisrigte, a choisrigear le daoinibh:
ach cuirear gu cinnteach gu bàs e.
30 Agus uile dheachamh an fhear-
ainn, ma'*s ann* do shìol an fhearainn
no do mheas na craoibhe, *is* leis an
Tighearn e; *tha e* naomha do'n Tigh-
earna.
31 Agus ma dh'fhuasglas duine idir
a' bheag d'a dheachamh, cuiridh e an
cùigeadh *cuid* deth ris.
32 Agus a thaobh uile dheachaimh
a' chruidh no an treud, *eadhon* gach ni
air bith a dh'imicheas fa'n t-slait;
bithidh an deachamh dheth naomha
do'n Tighearna.
33 Cha rannsaich e am bi e math
no olc, ni mò a mhalairticheas se e:
agus ma mhalairticheas e idir e, an
sin bithidh an dà chuid e féin agus a
mhalairt naomha; cha 'n fhuasglar
e.
34 *Is* iad sin na h-àitheantan a
dh'àithn an Tighearna do Mhaois
air son chloinn Israeil, ann an sliabh
Shinai.

A I R E A M H

CAIB. I.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois ann am fàsach Shinai, ann am pàilliun a' choimhthionail, air a' cheud *là* do'n dara mìos, san dara bliadhna, an déigh dhoibh teachd a mach a tìr na h-Eiphit, ag ràdh,
2 Gabhaibh *àireamh*[a] cheann coimhchruinnich chloinn Israeil uile, a réir[b] an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, maille ri àireamh an ainmeanna, gach firionnach a réir an ceann:
3 O fhichead bliadhna dh'aois, agus os a cheann, gach aon a's urrainn dol a mach gu cogadh ann an Israel: àirmhidh tusa agus Aaron iad a réir am buidhnean[c].
4 Agus maille ribhse bithidh duine do gach uile thréibh: gach aon diubh na cheann tighe aithreacha.
5 Agus *is* iad so ainmeanna nan daoine a sheasas maille ribh: Do *thréibh* Reubein; Elisur mac Shedeuir.
6 Do Shimeon; Selumiel mac Shurisadai.
7 Do Iudah; Nahson mac Aminadaib.
8 Do Isachar; Nataneel mac Shuair.
9 Do Shebulon; Eliab mac Heloin.
10 Do chloinn Ioseiph; do Ephraim, Elisama mac Amihuid; do Mhanasch, Gamaliel mac Phadahsuir.
11 Do Bheniamin; Abidan mac Ghideoni.
12 Do Dhan; Ahieser mac Amisadai.
13 Do Aser; Pagiel mac Ocrain.
14 Do Ghad; Eliasaph mac Dheueil.
15 Do Naphtali; Ahira mac Enain.
16 *B*'iad sin *daoin'* ainmeil[d] a' choimhchruinnich, cinn-fheadhna threubhan an aithreacha, ceannardan mhìlte ann an Israel.
17 Agus ghabh Maois agus Aaron na daoine sin, a ghairmeadh air *an* ainmibh.
18 Agus thionail iad an coimhchruinneach uile an ceann a chéile air a' cheud *là* do'n dara mìos, agus chuir iad an céill an ginealacha a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, a reir àireimh[e] *nan* ainmean, o fhichead bliadhna dh'aois agus thairis, a réir an ceann.
19 Mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois, mar sin dh'àireamh e iad ann am fàsach Shinai.
20 Agus bha clann Reubein a' mhic bu shine bh'aig Israel, *a réir* an ginealacha, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, a réir àireimh *nan* ainmean, a réir an ceann, gach firionnach o fhichead bliadhna dh'aois agus os a cheann, gach aon a b'urrainn dol a mach gu cogadh;
21 Iadsan a dh'àirmheadh dhiubh, *eadhon* do thréibh Reubein, *bha* iad ann dà fhichead agus sè mìle agus cùig ceud.
22 Do chloinn Shimeoin, *a réir* an ginealacha, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, iadsan a chaidh àireamh dhiubh, a réir àireimh *nan* ainmean, a réir an ceann, gach firionnach o fhichead bliadhna

[a] cunntas. [b] *do réir.* [c] *sloigh, armailtean.* [d] daoin' *allail.* [e] *ann an àireamh.* Eabh.

na dh'aois agus os a cheann, gach aon a b'urrainn dol a mach gu cogadh;

23 Iadsan a chaidh àireamh dhuibh, *eadhon* do thréibh Shimeoin, *b*'iad leth-cheud agus naoi mìle agus tri cheud.

24 Do chloinn Ghad, *a réir* an ginealacha, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, a réir àireimh *nan* ainmean, o fhichead bliadhna dh'aois agus os a cheann, gach aon a b'urrainn dol a mach gu cogadh;

25 Iadsan a chaidh àireamh dhiubh, *eadhon* do thréibh Ghad, *b*'iad dà fhichead agus cùig mìle agus sè ceud agus leth-cheud.

26 Do chloinn Iudaih *a réir* an ginealacha, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, a réir àireimh *nan* ainmean, o fhichead bliadhna dh'aois agus os a cheann, gach aon a b'urrainn dol a mach gu cogadh:

27 Iadsan a chaidh àireamh dhiubh, *eadhon* do thréibh Iudaih, *b*'iad tri fichead agus ceithir mìle deug agus sè ceud.

28 Do chloinn Isachair, *a réir* an ginealacha, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, a réir àireimh *nan* ainmean, o fhichead bliadhna dh'aois, agus os a cheann, gach aon a b'urrainn dol a mach gu cogadh;

29 Iadsan a chaidh àireamh dhiubh, *eadhon* do thréibh Isachair, *b*'iad leth-cheud agus ceithir mìle agus ceithir cheud.

30 Do chloinn Shebuluin, *a réir* an ginealacha, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, a réir àireimh *nan* ainmean, o fhichead bliadhna dh'aois agus os a cheann, gach aon a b'urrainn dol a mach gu cogadh;

31 Iadsan a chaidh àireamh dhiubh, *eadhon* do thréibh Shebuluin, *b*'iad leth-cheud agus seachd mìle agus ceithir cheud.

32 Do chloinn Ioséiph, *eadhon* do chloinn Ephraim, *a réir* an ginealacha, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, a réir àireimh *nan* ainmean, o fhichead bliadhna dh'aois agus os a cheann, gach aon a b'urrainn dol a mach gu cogadh;

33 Iadsan a chaidh àireamh dhiubh, *eadhon* do thréibh Ephraim, *b*'iad dà fhichead mìle agus cùig ceud.

34 Do chloinn Mhanaseh, *a réir* an ginealacha, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, a réir àireimh *nan* ainmean, o fhichead bliadhna dh'aois agus os a cheann, gach aon a b'urrainn dol a mach gu cogadh;

35 Iadsan a chaidh àireamh dhiubh, *eadhon* do thréibh Mhanaseh, *b*'iad dà mhìle dheug 'ar fhichead agus dà cheud.

36 Do chloinn Bheniamin, *a réir* an ginealacha, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, a réir àireimh *nan* ainmean, o fhichead bliadhna dh'aois agus os a cheann, gach aon a b'urrainn dol a mach gu cogadh;

37 Iadsan a chaidh àireamh dhiubh, *eadhon* do thréibh Bheniamin, *b*'iad cùig mìle deug 'ar fhichead agus ceithir cheud.

38 Do chloinn Dhan, a réir an ginealacha, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, a réir àireimh *nan* ainmean, o fhichead bliadhna dh'aois agus os a cheann, gach aon a b'urrainn dol a mach gu cogadh;

39 Iadsan a chaidh àireamh dhiubh, *eadhon* do thréibh Dhan, *b*'iad tri fichead agus dà mhìle agus seachd ceud.

40 Do chloinn Aseir *a réir* an ginealacha, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, a réir àireimh *nan* ainmean, o fhichead bliadhna dh'aois agus os a cheann, gach aon a b'urrainn dol a mach gu cogadh;

41 Iadsan a chaidh àireamh dhiubh, *eadhon* do thréibh Aseir, *b*'iad aon mhìle agus dà fhichead agus cùig ceud.

42 Do chloinn Naphtali *a réir* an ginealacha, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, a réir aireimh *nan* ainmean, o fhichead bliadhna dh'aois agus os a cheann, gach

aon

aon a b'urrainn dol a mach gu cogadh;

43 Iadsan a chaidh àireamh dhiubh, *eadhon* do thréibh Naphtali, *b*'iad tri mìle deug agus dà fhichead agus ceithir cheud.

44 Sin iadsan a chaidh àireamh, a dh'àireamh Maois agus Aaron, agus ceannardan Israeil, *eadhon* dà fhear dheug: bha gach fear diubh air son tighe 'aithreacha.

45 Mar sin bha iadsan uile a chaidh àireamh do chloinn Israeil, a réir tighe an aithreacha, o fhichead bliadhna dh'aois agus os a cheann, gach aon a b'urrainn dol a mach gu cogadh ann an Israel;

46 Eadhon iadsan uile a chaidh àireamh, *b*'iad sè ceud mìle agus tri mìle agus cùig ceud agus leth-cheud.

47 Ach cha deachaidh na Lebhithich, a réir tréibh an aithreacha, àireamh nam measg:

48 Oir labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

49 A mhàin treubh Lebhi cha 'n àireamh thu, ni mò a ghabhas tu an *cunntas* cheann am measg chloinn Israeil:

50 Ach orduichidh tu na Lebhithich os ceann pàilliuin na fianuis, agus os ceann a shoithichean uile, agus os ceann nan uile nithe a *bhuineas* da: giùlainidh iad am pàilliun, agus a shoithichean uile, agus frithealaidh iad da, agus campaichidh iad m'an cuairt air a' phàilliun.

51 Agus an uair a bhios am pàilliun gu dol air 'aghaidh, leagaidh na Lebhithich a nuas e: agus an uair a bhios am pàilliun r'a shuidheachadh, togaidh na Lebhithich suas e: agus an coigreach a thig am fagus, cuirear gu bàs e.

52 Agus suidhichidh clann Israeil am bùthan gach duine làimh r'a chuideachd [a] féin, agus gach duine làimh r'a bhrataich féin, air feadh an armailtean [b].

53 Ach suidhichidh na Lebhithich am bùthan m'an cuairt air pàilliun na fianuis; a chum's nach bi corruich air coimhchruinneach chloinn Israeil; agus gleidhidh [c] na Lebhithich cùram pàilliuin na fianuis.

54 Agus rinn clann Israeil a réir nan uile nithe a dh'àithn an Tighearna do Mhaois; mar sin rinn iad.

C A I B. II.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, agus ri h-Aaron, ag ràdh,

2 Suidhichidh gach duine do chloinn Israeil làimh r'a bhrataich féin, maille ri suaichiontas [d] tighe an aithreacha: fad as m'an cuairt air pàilliun a' choimhthionail suidhichidh iad.

3 Agus air taobh na h-airde 'n ear leth ri éirigh na gréine, suidhichidh luchd brataich chaimp Iudaih a réir an armailtean: agus *bithidh* Nahson mac Aminadaib na cheannard [e] air cloinn Iudaih.

4 Agus 'armailt-san, eadhon iadsan a chaidh àireamh dhiubh, *b*'iad tri fichead agus ceithir mìle deug agus sè ceud.

5 Agus am fagus da suidhichidh treubh Isachair: agus *bithidh* Nataneel mac Shuair na cheannard air cloinn Isachair.

6 Agus 'armailt-san, agus iadsan a chaidh àireamh dhith, *b*'iad leth-cheud agus ceithir mìle agus ceithir cheud.

7 *An sin* treubh Shebuluin: agus *bithidh* Eliab mac Heloin na cheannard air cloinn Shebuluin.

8 Agus 'armailt-san, agus iadsan a chaidh àireamh dhith, *b*'iad leth-cheud agus seachd mìle agus ceithir cheud.

9 Na h-uile chaidh àireamh ann an camp Iudaih, *b*'iad ceud mìle agus ceithir fichead mìle agus sè mìle agus ceithir cheud, a réir an armailtean: is iad so a théid a mach air thùs.

10 Air taobh na h-airde deas *bithidh* bratach chaimp Reubein, a réir an armailtean: agus na cheannard air cloinn Reubein, *bithidh* Elisur mac Shedeuir.

11 Agus 'armailt-san agus iadsan

[a] *champ.* Eabh. [b] *sloigh.* [c] *coimhididh.* [d] *suaithcantas.* [e] *chaiptein.*

a chaidh àireamh dhith, *b'iad* dà
fhichead agus sè mìle agus cùig ceud.
12 Agus làimh ris suidhichidh
treubh Shimeoin; agus *bithidh* Selu-
miel mac Shurisadai na cheannard air
cloinn Shimeoin.
13 Agus 'armailt-san, agus iad-
san a chaidh àireamh dhith, *b'iad*
leth-cheud agus naoi mìle agus tri
cheud.
14 An sin treubh Ghad: agus na
cheannard air mic Ghad, *bithidh* E-
liasaph mac Reueil.
15 Agus 'armailt-san, agus iadsan
a chaidh àireamh dhiubh, *b'iad* dà
fhichead agus cùig mìle agus sè ceud
agus leth cheud.
16 Na h-uile a chaidh àireamh ann
an camp Reubein, *b'iad* ceud mìle a-
gus leth-cheud, agus aon mhìle agus
ceithir cheud agus leth-cheud, a réir
an armailtean: agus théid iadsan a
mach san dara ordugh[a].
17 An sin théid pàillíun a' choimh-
thionail air 'aghaidh maille ri camp
nan Lebhitheach am meadhon a'
chaimp: mar a champaicheas iad,
mar sin théid iad air an aghaidh,
gach duine na àite féin làimh r'am
brataichibh.
18 Air taobh na h-airde 'n iar *bith-
idh* bratach chaimp Ephraim, a réir
an armailtean; agus *bithidh* Elisama
mac Amihuid, na cheannard air mic
Ephraim.
19 Agus 'armailt-san, agus iadsan
a chaidh àireamh dhiubh, *b'iad* dà
fhichead mìle agus cùig ceud.
20 Agus làimh ris-san *bithidh* treubh
Mhanaseh: agus *bithidh* Gamaliel mac
Phedahsuir, na cheannard air cloinn
Mhanaseh.
21 Agus 'armailt-san, agus iadsan
a chaidh àireamh dhiubh, *b'iad* dà
mhìle dheug 'ar fhichead agus dà
cheud.
22 An sin treubh Bheniamin: a-
gus *bithidh* Abidan mac Ghideoni, na
cheannard air mic Bheniamin.
23 Agus 'armailt-san, agus iadsan
a chaidh àireamh dhiubh, *b'iad* cùig
mìle deug 'ar fhichead agus ceithir
cheud.
24 Iadsan uile a dh'àirmheadh de
champ Ephraim, *b'iad* ceud mìle agus
ochd mìle agus ceud, a réir an arm-
ailtean: agus théid iadsan air an agh-
aidh san treas ordugh.
25 *Bithidh* bratach chaimp Dhan air
taobh na h-airde tuath a réir an arm-
ailtean: agus *bithidh* Ahieser mac
Amisadai na cheannard air cloinn
Dhan.
26 Agus 'armailt-san, agus iad-
san a chaidh àireamh dhiubh, *b'iad*
tri fichead agus dà mhìle agus seachd
ceud.
27 Agus làimh ris campaichidh
treubh Aseir: agus *bithidh* Pagiel
mac Ocrain, na cheannard air cloinn
Aseir.
28 Agus 'armailt-san, agus iad-
san a chaidh àireamh dhiubh, *b'iad*
dà fhichead agus aon mhìle agus cùig
ceud.
29 An sin treubh Naphtali: agus
bithidh Ahira mac Enain na cheannard
air cloinn Naphtali.
30 Agus 'armailt-san, agus iad-
san a chaidh àireamh dhiubh, *b'iad*
leth-cheud agus tri mìle agus ceithir-
cheud.
31 Iadsan uile a chaidh àireamh
ann an camp Dhan, *b'iad* ceud mìle
agus leth-cheud agus seachd mìle a-
gus sè ceud: Imichidh iadsan sa dheir-
eadh le'm brataichibh.
32 *Is* iad sin iadsan a' dh'àirmheadh
do chloinn Israeil, a réir tighe an
aithreacha, iadsan uile a chaidh àir-
eamh do na campaibh a réir an
armailtean, *b'iad* sè ceud mìle agus
tri mìle agus cùig ceud agus leth
cheud.
33 Ach cha d'àirmheadh na Le-
bhithich am measg chloinn Israeil,
mar a dh'àithn an Tighearna do
Mhaois.
34 Agus rinn clann Israeil a réir
gach ni a dh'àithn an Tighearna do
Mhaois: mar sin champaich iad làimh
r'am brataichibh, agus mar sin chaidh
iad air an aghaidh, gach aon a réir
an teaghlaichean, a réir tighe an
aithreacha.

CAIB

[a] *'san dara h-àite.*

CAIB. III.

IS iad so mar an ceudna ginealaich Aaroin agus Mhaois, san là anns do labhair an Tighearna ri Maois ann an sliabh Shinai.

2 Agus *is iad so ainmean mhac* Aaroin; Nadab an *ceud-ghin*, *agus* Abihu, Eleasar, agus Itamar.

3 *Is* iad sin ainmeanna mhac Aaroin, na sagairt a dh'ungadh, a choisrig e gu frithealadh ann an dreuchd an t-sagairt.

4 Agus fhuair Nadab agus Abihu bàs an làthair an Tighearna, 'nuair a thug iad suas teine coimheach an làthair an Tighearna, ann am fàsach Shinai, agus cha robh clann aca: agus fhritheil Eleasar agus Itamar ann an dreuchd an t-sagairt, ann an sealladh Aaroin an athar.

5 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

6 Thoir treubh Lebhi am fagus, agus taisbein iad an làthair Aaroin an t-sagairt, a chum's gu'm fritheil iad dha.

7 Agus gleidhidh iad a chùram-san, agus cùram a' choimhthionail uile air beulaobh pàilliuin a' choimhthionail, a dheanamh seirbhis[a] a' phàilliuin.

8 Agus gleidhidh iad uile shoithichean[b] pàilliuin a' choimhthionail, agus cùram chloinn Israeil, a dheanamh seirbhis a' phàilliuin.

9 Agus bheir thu na Lebhithich do Aaron agus d'a mhic: *tha* iad air an tabhairt da gu h-iomlan a mach a cloinn Israeil.

10 Agus orduichidh tu Aaron agus a mhic, agus feithidh iadsan air dreuchd an t-sagairt: agus an coigreach a thig am fagus, cuirear gu bàs *e*.

11 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

12 Agus mise, feuch, ghabh mi na Lebhithich o mheasg chloinn Israeil, an àite a' cheud-ghin uile a dh'fhosgaileas a' bhrù am measg chloinn Israeil: agus is leamsa na Lebhithich;

13 A chionn gur leamsa gach uile cheud-ghin; *oir* air an là anns an do bhuail mi gach ceud-ghin ann an tìr na h-Eiphit, naomhaich mi dhomh féin gach ceud-ghin ann an Israel, eadar dhuine agus ainmhidh; is leamsa iad: *Is* mise an Tighearna.

14 Agus labhair an Tighearna ri *Maois ann am fàsach Shinai, ag ràdh,*

15 Aireamh clann Lebhi 'a réir tighe an aithreacha, a réir an teaghlaichean: gach firionnach o mhìos a dh'aois agus os a cheann, àirmhidh tu iad.

16 Agus dh'àireamh Maois iad a réir focail an Tighearna, mar a thugadh àithne dha.

17 Agus *b*'iad so mic Lebhi a réir an ainmean; Gerson, agus Cohat, agus Merari.

18 Agus *is* iad so ainmean mhac Ghersoin a réir an teaghlaichean; Libni agus Simei.

19 Agus mic Chohait a réir an teaghlaichean; Amram agus Idsar, Hebron agus Udsiel.

20 Agus mic Mherari a réir an teaghlaichean; Mahli, agus Musi: *is* iad sin teaghlaichean nan Lebhitheach, a réir tighe an aithreacha.

21 O Gherson *bha* teaghlach Libni, agus teaghlach Shimei: *is* iad sin teaghlaichean nan Gersonach.

22 Iadsan a chaidh àireamh dhiubh, a réir àireimh nam firionnach uile o mhìos a dh'aois agus os a cheann, *eadhon* iadsan a chaidh àireamh dhiubh, *b*'iad seachd mìle agus cùig ceud.

23 Suidhichidh teaghlaichean nan Gersonach air cùlaobh a' phàilliuin air taobh na h-airde 'n iar.

24 Agus *bithidh* Eliasaph mac Laeil, na cheann tighe athar nan Gersonach.

25 Agus air cùram[c] mhac Ghersoin, ann am pàilliun[d] a' choimhthionail *bithidh* am pàilliun *féin*, agus am bùth, a chòmhdach, agus am brat air son doruis pàilliuin a' choimhthionail,

26 Agus cùirteine na cùirte, agus am brat air son doruis na cùirte, a ta làimh ris a' phàilliun, agus làimh ris an altair m'an cuairt, agus a cuird, air son a seirbhis uile.

27 Agus o Chohat *bha* teaghlach nan

[a] *frithealaidh.* [b] *airneis.* [c] *fa choimhead.* [d] *bùth.* Eabh.

nan Amramach, agus teaghlach nan
Idſeharach, agus teaghlach nan He-
bronach, agus teaghlach nan Udſiel-
ach: *is* iad ſin teaghlaichean nan Co-
hatach.
28 Ann an àireamh nam firionnach
uile o mhìos a dh'aois agus os a
cheann, *bha* ochd mìle agus sè ceud,
a bha gleidheadh cùraim [a] an ionaid
naomha.
29 Suidhichidh teaghlaichean mhac
Chohait air taobh a' phàilliuin mu
dheas.
30 Agus *bithidh* Eliſaphan mac Ud-
ſiel na cheann tighe athar teaghlaich-
ean nan Cohatach.
31 Agus air an cùram-ſan *bithidh*
an àirc, agus am bord, agus an coinn-
leir, agus na h-altairean, agus ſoith-
ichean an ionaid naomha, leis am
fritheil iad, agus am brat, agus a
ſheirbhis uile.
32 Agus *bithidh* Eleaſar mac Aa-
roin an t-ſagairt na cheannard air
ceannardaibh [b] nan Lebhitheach, *a-
gus bithidh* ſùil aig orra-ſan a bhios a'
gleidheadh cùraim an ionaid naomha.
33 O Mherari bha teaghlach nam
Mahlach, agus teaghlach nam Mu-
ſitheach: *is* iad ſin teaghlaichean
Mherari.
34 Agus iadſan a chaidh àireamh
dhiubh, a réir àireimh nam firionn-
ach uile o mhìos a dh'aois agus os a
cheann, *b'iad* sè mìle agus dà cheud.
35 Agus *b'e* Suriel mac Abihail
ceann tighe athar theaghlaichean
Mherari: ſuidhichidh iadſan air taobh
a' phàilliuin mu thuath.
36 Agus *fa* choimhead agus cùram
mhac Mherari *bithidh* buird a' phàil-
liuin, agus a chroinn, agus a phuiſt,
agus a bhuinn, agus a ſhoithichean
uile, agus gach ni a fhrithealas da,
37 Agus puiſt na cùirte m'an
cuairt, agus am buinn, agus am pinn-
eachan, agus an cuird.
38 Ach iadſan a champaicheas air
beulaobh a' phàilliuin air taobh na
h-airde 'n ear, *eadhon* air beulaobh
phàilliuin a' choimhthionail leth ri
eirigh na gréine, *is iad* Maois agus
Aaron, agus a mhic, a' gleidheadh
cùraim an ionaid naomha, air ſon
cùraim chloinn Iſraeil; agus an coig-
reach a thig am fagus, cuirear gu
bàs *e*.
39 Iadſan uile a chaidh àireamh do
na Lebhithich, a dh'àireamh Maois
agus Aaron a réir àithne an Tighear-
na, a réir an teaghlaichean, na firionn-
aich uile o mhìos a dh'aois agus os a
cheann, *b'iad* dà mhìle thar fhich-
ead.
40 Agus thubhairt an Tighearna
ri Maois, Aireamh gach ceud-ghin *a
ta* na fhirionnach do chloinn Iſraeil o
mhìos a dh'aois agus os a cheann, a-
gus gabh àireamh an ainmean.
41 Agus gabhaidh tu na Lebhith-
ich dhomhſa (*Is* miſe an Tighearna)
an àite nan ceud-ghin uile am meaſg
chloinn Iſraeil; agus ſpréidh nan Le-
bhitheach an àite nan ceud-ghin uile
am meaſg ſpréidhe chloinn Iſraeil.
42 Agus dh'àireamh Maois, mar
a dh'àithn an Tighearna dha, gach
ceud-ghin am meaſg chloinn Iſraeil.
43 Agus gach ceud-ghin *a bha* na
fhirionnach, a réir àireimh *nan* ain-
mean, o mhìos a dh'aois agus os a
cheann, dhiubh-ſan a chaidh àireamh
diubh, b'iad dà mhìle thar fhichead
dà cheud agus tri fichead agus tri-
deug.
44 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
45 Gabh na Lebhithich an àite
nan ceud-ghin uile am meaſg chloinn
Iſraeil, agus ſpréidh nan Lebhitheach
an àite an ſpréidhe-ſan, agus bithidh
na Lebhithich leamſa: *Is* miſe an
Tighearna.
46 Agus air an ſon-ſan a ta gu bhi
air am fuaſgladh do'n dà cheud agus
an tri fichead agus an tri-deug, do
cheud-ghin chloinn Iſraeil, a tha ni's
lìon-mhoire na na Lebhithich;
47 Gabhaidh tu eadhon cùig ſeceil
ma fear air an ceann; a réir ſeceil an
ionaid naomha gabhaidh tu *iad: is e*
'n ſecel fichead gerah.
48 Agus bheir thu an t-airgiod leis
am fuaſglar an àireamh chòrr diubh
do Aaron agus d'a mhic.
49 Agus ghabh Maois an t-airgiod
fuaſglaidh

a *a' gleidheadh faire.* b *uaislibh, daoine urramach.*

fuaſglaidh uatha-ſan a bha thuilleadh òrra-ſan a dh'fhuaſgladh leis na Lebhithich.

50 O cheud-ghin chloinn Iſraeil ghabh e an t-airgiod: mìle tri cheud agus tri fichead agus cùig *ſeceil*, a réir ſeceil an ionaid naomha.

51 Agus thug Maois airgiod na muinntir ſin a dh'fhuaſgladh, do Aaron, agus d'a mhic, a réir focail an Tighearna, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

C A I B. IV.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, agus ri h-Aaron, ag ràdh,

2 Gabh àireamh mhac Chohait o mheaſg mac Lebhi, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha;

3 O dheich bliadhna fichead a dh'aois agus os a cheann, eadhon gu leth-cheud bliadhna dh'aois, gach neach a théid a ſteach do'n armailt, a dheanamh na h-oibre ann am pàilliun a' choimhthionail.

4 So an t-ſeirbhis a bhios aig mic Chohait ann am pàilliun a' choimhthionail *mu thimchioll* nan nithe ro-naomha.

5 Agus an uair a bhios an camp gu dol air 'aghaidh[a], thig Aaron agus a mhic, agus bheir iad a nuas brat a' chòmhdaich, agus còmhdaichidh iad àirc na fianuis leis.

6 Agus cuiridh iad oirre an còmhdachadh do chroicnibh bhroc, agus ſgaoilidh iad os a ceann eudach uile do ghorm, agus cuiridh iad a bataichean innte.

7 Agus air bord arain na fianuis ſgaoilidh iad eudach do ghorm, agus cuiridh iad air na miaſan[b], agus na tùiſeirean[c] agus na copain[d], agus na cuachan leis an dthoirear ſeachad tabhartas-dibhe[e]: agus bithidh an t-aran an còmhnuidh air.

8 Agus ſgaoilidh iad orra eudach ſcarlaid, agus còmhdaichidh iad ſin le còmhdachadh do chroicnibh bhroc, agus cuiridh iad a bhataichean ann.

9 Agus gabhaidh iad eudach do ghorm, agus còmhdaichidh iad coinnleir an t-ſoluis, agus a lòchrain, agus a chlobhachan[f], agus a ſmàl-ſhoithichean, agus a ſhoithichean-olaidh uile, leis am fritheil iad da.

10 Agus cuiridh iad e *féin* agus a ſhoithichean uile ann an còmhdachadh do chroicnibh bhroc, agus cuiridh iad air lunn *e*.

11 Agus air an altair òir ſgaoilidh iad eudach do ghorm, agus còmhdaichidh iad i le còmhdachadh do chroicnibh bhroc, agus cuiridh iad *rithe* a bataichean.

12 Agus gabhaidh iad na h-innil frithealaidh uile, leis am fritheil iad ſan ionad naomha, agus cuiridh iad ann an eudach do ghorm *iad*, agus còmhdaichidh iad le còmhdachadh do chroicnibh bhroc iad, agus cuiridh iad air lunn iad.

13 Agus bheir iad air falbh an luath o'n altair, agus ſgaoilidh iad eudach corcuir[g] oirre;

14 Agus cuiridh iad oirre a ſoithichean uile, leis am fritheil iad m'a timchioll, *eadhon* na tùiſeiran[h], na greimichean-feòla, agus na ſluaſaidean, agus na cuachan[k], ſoithichean na h-altarach uile; agus ſgaoilidh iad oirre còmhdachadh do chroicnibh bhroc, agus cuiridh iad *rithe* a bataichean.

15 Agus crìochnaichidh Aaron agus a mhic còmhdachadh an ionaid naomha, agus uile ſhoithichean an ionaid naomha, 'nuair a bhios an camp gu dol air 'aghaidh; agus an déigh ſin thig mic Chohait g'*an* giùlan: ach cha bhean iad ri ni naomha *ſam bith*, an t-eagal gu'm bàſaich iad. *Is* iad *na nithe* ſin eallach mhac Chohait ann am pàilliun a' choimhthionail.

16 Agus do dhreuchd Eleaſair mhic Aaroin an t-ſagairt, *buinidh* an oladh chum an t-ſoluis, agus an tùis chùbhraidh, agus an tabhartas-bìdh lathail, agus an oladh-ungaidh, *agus* cùram[l] a' phàilliuin uile, agus nan uile

[a] *re atharrachadh.* [b] *ſoithichean.* [c] *liaghan, ſpàinean.* [d] *cupain.* [e] *na còmhdaichean g'a chòmhdachadh.* [f] *a theanchairean,* [g] *purpuir.* [h] *tùis-ſhoithichean.* [k] *ſoithichean-crathaidh.* [l] *uile-bheachd.*

uile nithe a *ta* ann, ſan ionad naomha, agus na ſhoithichibh.

17 Agus labhair an Tighearna ri Maois, agus ri h-Aaron, ag ràdh,

18 Na gearraibh as treubh theaghlaichean nan Cohatach o mheaſg nan Lebhitheach.

19 Ach ſo ni ſibh riu, chum as gu'm bi iad beo agus nach bàſaich iad, an uair a thig iad am fagus do na nithibh ro-naomha; théid Aaron agus a mhic a ſteach, agus orduichidh ſiad iad gach aon d'a ſheirbhis *féin*, agus d'a eallaich.

20 Ach cha dthéid iad a ſteach a dh'fhaicinn an uair a chòmhdaichear na nithe naomha, an t-eagal gu'm faigh iad bàs.

21 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

22 Gabh mar an ceudna àireamh mhac Gherſoin, a réir tighe an aithreacha, a réir an teaghlaichean.

23 O dheich bliadhna fichead a dh'aois agus os a cheann, gu leth-cheud bliadhna dh'aois àirmhidh tu iad; gach neach a théid a ſteach a dheanamh na ſeirbhis, a dheanamh na h-oibre ann am pàilliun a' choimhthionail.

24 *Is* i ſo ſeirbhis theaghlaichean nan Gerſonach, ſeirbhis a dheanamh, agus eallach a ghiùlan [a].

25 Agus giùlainidh iad cùirteinean a' phàilliuin, agus pàilliun a' choimhthionail, a chòmhdach, agus an còmhdach do chroicnibh bhroc a ta ſhuas thairis air, agus brat doruis pàilliuin a' choimhthionail.

26 Agus cùirteine na cùirte, agus brat doruis gearaidh na cùirte, a *ta* làimh ris a' phàilliun, agus ris an altair m'an cuairt, agus an cuird, agus innil am frithealaidh uile, agus gach ni a rinneadh air an ſon: mar ſo ni iad ſeirbhis.

27 A reir focail Aaroin agus a mhac bithidh uile ſheirbhis mhac nan Gerſonach, nan eallachaibh uile, agus nan ſeirbhis uile: agus orduichidh ſibh dhoibh mar an cùram an eallachan uile.

28 *Is i* ſo ſeirbhis theaghlaichean mhac Gherſoin, ann am pàilliun a' choimhthionail; agus *bithidh* an cùram fuidh làimh Itamair mhic Aaroin an t-ſagairt.

29 A thaobh mhac Mherari, àirmhidh tu iad a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha.

30 O dheich bliadhna fichead a dh'aois agus os a cheann, eadhon gu leth-cheud bliadhna dh'aois àirmhidh tu iad, gach aon a théid a ſteach do'n t-ſeirbhis, a dheanamh oibre pàilliuin a' choimhthionail.

31 Agus *is e* ſo cùram an eallaich, a réir an ſeirbhis uile ann am pàilliun a' choimhthionail; buird a' phàilliuin, agus a chroinn, agus a phuiſt, agus a bhuinn,

32 Agus puiſt na cùirte m'an cuairt, agus am buinn, agus am pinnachan [b], agus an cuird, maille r'an innealaibh uile, agus maille r'an ſeirbhis uile: agus air *an* ainm àirmhidh ſibh innil cùraim an eallaich.

33 *Is i* ſo ſeirbhis theaghlaichean mhac Mherari, a réir an ſeirbhis uile ann am pàilliun a' choimhthionail, fuidh làimh Itamair mhic Aaroin an t-ſagairt.

34 Agus dh'àireamh Maois agus Aaron agus ceannardan a' choimhchruinnich mic nan Cohatach, a réir an teaghlaichean, agus a réir tighe an aithreacha;

35 O dheich bliadhna fichead a dh'aois agus os a cheann, eadhon gu leth-cheud bliadhna dh'aois, gach aon a théid a ſteach do'n t-ſeirbhis, chum oibre ann am pàilliun a' choimhthionail.

36 Agus iadſan a chaidh àireamh dhiubh a réir an teaghlaichean, b'iad dà mhìle ſeachd ceud agus leth-cheud.

37 *B*'iad ſo iadſan a chaidh àireamh do theaghlaichibh nan Cohatach, gach neach a dh'fheudadh ſeirbhis a dheanamh ann am pàilliun a' choimhthionail, a dh'àireamh Maois agus Aaron, a réir àithne an Tighearna le làimh Mhaois.

38 Agus iadſan a chaidh àireamh do mhic Gherſoin, a réir an teaghlaichean, agus a réir tighe an aithreacha;

39 O

[a] *air ſon uallaich.*

[b] *tairngean.*

39 O dheich bliadhna fichead a dh'aois agus os a cheann, eadhon gu leth-cheud bliadhna dh'aois, gach aon a théid a steach do'n t-seirbhis, a chum oibre ann am pàilliun a' choimhthionail;

40 Eadhon iadsan a chaidh àireamh dhiubh, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha, b'iad dà mhìle agus sè ceud agus deich 'ar fhichead.

41 So iadsan a chaidh àireamh do theaghlaichibh mhac Gherfoin, do gach neach a dh'fheudadh seirbhis a dheanamh ann am pàilliun a' choimhthionail, a dh'àireamh Maois agus Aaron a réir àithne an Tighearna.

42 Agus iadsan a chaidh àireamh do theaghlaichibh mhac Mherari, a réir an teaghlaichean, a réir tighe an aithreacha;

43 O dheich bliadhna fichead a dh'aois agus os a cheann, eadhon gu leth-cheud bliadhna dh'aois, gach aon a théid a stigh do'n t-seirbhis, chum oibre ann am pàilliun a' choimhthionail;

44 Eadhon iadsan a chaidh àireamh dhiubh a réir an teaghlaichean, b'iad tri mìle agus dà cheud.

45 So iadsan a chaidh àireamh do theaghlaichibh mhac Mherari, a dh'àireamh Maois agus Aaron, a réir focail an Tighearna le làimh Mhaois.

46 Iadsan uile a chaidh àireamh do na Lebhithich, a dh'àireamh Maois agus Aaron agus ceannardan Israeil, a réir an teaghlaichean, agus a réir tighe an aithreacha;

47 O dheich bliadhn' 'ar fhichead agus os a cheann, eadhon gu leth-cheud bliadhna dh'aois, gach aon a thàinig a dheanamh seirbhis an fhrithealaidh, agus seirbhis na h-eallaich ann am pàilliun a' choimhthionail;

48 Eadhon iadsan a chaidh àireamh dhiubh, b'iad ochd mìle agus cùig ceud agus ceithir fichead.

49 A réir àithne an Tighearna dh'àirmheadh iad le làimh Mhaois, gach aon a réir a sheirbhis, agus a réir 'eallaich: mar so dh'àirmheadh iad leis, mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

CAIB. V.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

2 Aithn do chloinn Israeil, iad a chur a mach as a' champ gach lobhar, agus gach neach air am bheil silteach, agus gach neach a ta air a shalchadh leis a' mharbh.

3 Araon firionnach agus baineannach cuiridh sibh a mach, an taobh a muigh do'n champ cuiridh sibh iad; a chum as nach truaill iad an campan, anns am bheil mise gabhail còmhnuidh.

4 Agus rinn clann Israeil mar so, agus chuir iad a mach iad an taobh a muigh do'n champ: mar a labhair an Tighearna ri Maois, mar sin rinn clann Israeil.

5 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

6 Abair ri cloinn Israeil, An uair a ni fear no bean peacadh air bith a ni daoine, a dheanamh eusaontais[a] an aghaidh an Tighearna, agus gu'm bheil an t-anam sin ciontach;

7 An sin aidichidh iad am peacadh a rinn iad: agus ni e coimhleasachadh[b] air son 'eucorach[c] san iomlan, agus cuiridh e an cùigeadh *cuid* deth ris, agus bheir e *sin dhasan* air an d'rinn e 'n eucoir.

8 Ach mur bi aig an duine caraid sam bith[d] gu coimhleasachadh a thoirt da san eucoir, thugar an coimhleasachadh a nithear do'n Tighearn air son na h eucorach, do'n t-sagart; a thuilleadh air reithe na réite, leis an deanar an réite air a shon.

9 Agus gach tabhartas do nithibh naomha chloinn Israeil uile a bheir iad chum an t-sagairt, is leis-san iad.

10 Agus nithe coisrigte gach duine, is leis-san iad: ge b'e ni a bheir duine sam bith do'n t-sagart, is leis e.

11 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

12 Labhair ri cloinn Israeil, agus abair

a *'euceirt.* b *diolad', éiric.* c *a chiontaidh.* d *dìoghaltair.*

Eabh.

abair riu, Ma théid bean fir ſam bith a thaobh, agus gu'n ciontaich i na aghaidh,

13 Agus gu'n luidh fear gu collaidh leatha, agus gu'm bi ſin folaichte o ſhùilibh a fir-pòſda, agus gu'm bi e ceilte [a], agus gu'm bi i air a truailleadh, agus nach *bi* fianuis ſam bith na h-aghaidh, agus gun i air a glacadh *fa'n chùis*:

14 Agus gu'n dthig ſpiorad eud air, agus gu'm bheil e 'g eudach air a mhnaoi, agus gu'n do thruailleadh i; no ma thàinig ſpiorad eud air, agus gu'm bheil e eudmhor m'a mhnaoi, agus nach do thruailleadh i:

15 An ſin bheir an duine a bhean a dh'ionnſuidh an t-ſagairt, agus bheir e leis a tabhartas air a ſon, an deicheamh *cuid* a dh'ephah do mhin eorna; cha dòirt e oladh air, ni mò a chuireas e tùis air, oir *is* tabhartas eudaich [b] a t'ann, tabhartas cuimhneachain, a' toirt aingidheachd ann an cuimhne.

16 Agus bheir an ſagart am fagus i, agus cuiridh e i an làthair an Tighearna.

17 Agus gabhaidh an ſagart uiſge naomha ann an ſoitheach creadha, agus gabhaidh an ſagart *cuid* do'n duſlach [c] a bhios air urlar a' phàilliuin, agus cuiridh e ſan uiſge *e*.

18 Agus cuiridh an ſagart a' bhean ann an làthair an Tighearna, agus rùiſgidh e ceann na mnà, agus cuiridh e 'n tabhartas cuimhneachain na làmhaibh, eadhon an tabhartas eudaich; agus bithidh aig an t-ſagart na làimh an t-uiſge ſearbh a mhallaicheas.

19 Agus gabhaidh an ſagart mionnan dhith, agus their e ris a' mhnaoi, Mur do luidh fear ſam bith leat, agus mur deachaidh tu thaobh gu neoghloine *maille ri neach eile* an àite t'fhir-pòſda, bi-ſa ſaor o 'n uiſge ſhearbh ſo a mhallaicheas:

20 Ach ma chaidh tu thaobh *gu neach eile* an àite t'fhir-pòſda, agus gu'n do thruailleadh thu, agus gu'n do luidh fear eile leat a thuilleadh air t'fhear-pòſda;

21 An ſin gabhaidh an ſagart do'n mhnaoi mionnan mallachaidh, agus their an ſagart ris a' mhnaoi, Gu'n deanadh an Tighearn a'd' mhallachadh agus a'd' mhionnan thu am meaſg do ſhluaigh, 'nuair a bheir an Tighearn air do ſhliaſaid [d] lobhadh, agus air do bhroinn atadh:

22 Agus théid an t-uiſge ſo a mhallaicheas a ſtigh a'd' innibh [e], a thoirt air *do* bhroinn atadh, agus air *do* ſhliaſaid lobhadh: Agus their a' bhean, Amen, amen.

23 Agus ſgrìobhaidh an ſagart na mallachdan ſin ann an leabhar, agus dubhaidh e mach *iad* leis an uiſge ſhearbh;

24 Agus bheir e air a' mhnaoi an t-uiſge ſearbh a bheir am mallachadh, òl: agus théid an t-uiſge a mhallaicheas a ſteach innte, *agus fàſaidh* e ſearbh.

25 An ſin gabhaidh an ſagart an tabhartas eudaich a làimh na mnà, agus luaiſgidh e 'n tabhartas an làthair an Tighearna, agus bheir e ſeachad e air an altair.

26 Agus gabhaidh an ſagart làn glaice do'n tabhartas, *eadhon* a chuimhneachan, agus loiſgidh e air an altair *e*, agus an déigh ſin bheir e air a' mhnaoi an t-uiſge òl.

27 Agus an uair a bheir e oirre an t-uiſge òl, an ſin tarlaidh ma thruailleadh i, agus ma rinn i coire an aghaidh a fir-pòſda; gu'n dthéid an t-uiſge a mhallaicheas a ſteach innte, *agus fàſaidh* e ſearbh, agus ataidh a brù, agus lobhaidh a ſliaſaid: agus bithidh a' bhean na mallachadh am meaſg a ſluaigh.

28 Agus mur do thruailleadh a' bhean, ach gu'm bheil i glan; an ſin bithidh i ſaor, agus fàſaidh i torrach.

29 *Is* e ſo lagh an eud, an uair a théid bean a thaobh *gu fear eile* an àite a fir-pòſda, agus a thruaillear i;

30 No 'nuair a thig ſpiorad eud air fear, agus a tha e eud-mhor m'a mhnaoi, agus a chuireas e a' bhean an làthair an Tighearna, agus a chuireas

an

[a] *am folach.* [b] *an offering of jealouſy.* Saſg. [c] *luaithre.* [d] *leis* [e] *mhionach.* [f] *ſgaradh.*

an ſagart an gnìomh oirre an lagh ſo
uile;
31 An ſin bithidh an duine ſaor
o'n chionta, agus giùlainidh a' bhean
ſo a cionta.

CAIB. VI.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
2 Labhair ri cloinn Iſraeil, agus
abair riu, 'Nuair a dhealaicheas aon
chuid bean no fear *iad féin* a bhòid-
eachadh bòid Naſaraich, a chum *iad*
féin a dhealachadh [a] do'n Tighear-
na;
3 O fhìon, agus o dhibh làidir ſgar-
aidh ſe e féin; fion-geur fiona, no
fion-geur dibhe laidir cha'n òl e, ni
mò a dh'òlas e bheag do ſhùgh nam
fion-dhearcan, ni mò a dh'itheas e
fion-dhearcan ùr no tioram.
4 Uile laithean a dhealachaidh
cha'n ith e bheag a nithear do'n
chraoibh-fhiona, o na h-eiteanaibh
gus am plaoſg.
5 Uile laithean bòid a dhealach-
aidh, cha *dthig* ealtainn air a cheann:
gus an coimhlionar na laithean anns
an dealaich ſe e *féin* do'n Tighearna,
bithidh e naomha; *agus* leigidh e le
ciabhaibh gruaige a chinn fàs.
6 Sna laithibh ſin uile anns an
dealaich ſe e *féin* do'n Tighearna, cha
dthig e 'm ſagus do chorp [b] marbh
ſam bith.
7 Cha dean ſe e féin neo-ghlan air
ſon 'athar, no air ſon a mhàthar, air
ſon a bhràthar, no air ſon a pheathar,
an uair a gheibh iad bàs; do bhrigh
gu *bheil* coiſreagadh a Dhé air a
cheann.
8 Uile laithean a dhealachaidh *tha*
e naomha do'n Tighearna.
9 Agus ma gheibh duine gu
h-obann bàs làimh ris, agus gu'n do
ſhalaich e ceann a choiſreagaidh; an
ſin bearraidh [c] e 'cheann ann an là a
ghlanaidh, air an t-ſeachdamh là
bearraidh ſe e.
10 Agus air an ochdamh là bheir
e dà thurtur [d], no dà choluman òg, a
dh'ionnſuidh an t-ſagairt, gu dorus
pàilliuin a' choimhthionail.
11 *Agus* iobraidh an ſagart fear
diubh mar ìobairt-pheacaidh, agus
am fear eile mar iobairt-loiſgte, agus
ni e réite air a ſhon, do bhrigh gu'n
do pheacaich e thaobh a' mhairbh, a-
gus naomhaichidh e 'cheann ſan là ſin
féin.
12 Agus coiſrigidh e do'n Tigh-
earna laithean a dhealachaidh, agus
bheir leis uan do'n cheud bhliadhna
chum iobairt-euſaontais: ach bithidh
na laithean a chaidh ſeachad caillte,
do bhrigh gu'n do ſhalaicheadh a
dhealachadh.
13 Agus *is* e ſo lagh an Naſaraich:
'Nuair a choimhlionar laithean a
dhealachaidh, bheirear e [e] gu dorus
pàilliuin a' choimhthionail:
14 Agus bheir e ſeachad a tha-
bhartas do'n Tighearna, aon uan fi-
rionn do'n cheud bhliadhna gun ghaoid
a chum ìobairt-loiſgte, agus aon uan
boiniona do'n cheud bhliadhna gun
ghaoid a chum iobairt-pheacaidh, a-
gus aon reithe gun ghaoid a chum
iobairt-ſhìth;
15 Agus baſcaid do aran neo-
ghoirtichte, breacagan do phlùr mìn
meaſgta le h-oladh, agus dearnagana
do aran neo-ghoirtichte ungta le h-ol-
adh, agus an tabhartas-bìdh, agus an
tabhartaſan-dibhe.
16 Agus bheir an ſagart *iad* an
làthair an Tighearna, agus iobraidh
e 'iobairt-pheacaidh, agus 'iobairt-
loiſgte.
17 Agus iobraidh e 'n reithe mar
iobairt thabhartaſan-sith do'n Tigh-
earna, maille ris a' bhaſcaid do a-
ran neo-ghoirtichte: bheir an ſagart
ſeachad mar an ceudna a thabhartas-
bidh, agus a thabhartas-dibhe.
18 Agus bearraidh an Naſarach
ceann a dhealachaidh, aig dorus pàil-
liuin a' choimhthionail; agus gabh-
aidh e gruag cinn a dhealachaidh, a-
gus cuiridh e *i* ſan teine *a* *ta* fuidh
iobairt nan tabhartaſan-sìth.
19 Agus gabhaidh an ſagart ſlinn-
ein bruich an reithe, agus aon bhreac-
ag neo-ghoirtichte as a' bhaſcaid, a-
gus aon dearnagan [f] neo-ghoirtichte;
agus cuiridh e *iad* air làmhaibh an
Naſaraich,

[a] *ſgaradh.* [b] *cholann.* [c] *lomaidh.* [d] *ſhearan.* Eir. [e] *bheir ſe e.* [f] *abhlan.*

Naſaraich, an déigh do *ghruaig* a dhealachaidh bhi air a bearradh

20 Agus luaiſgidh an ſagart *iad* mar thabhartas-luaiſgte an làthair an Tighearna; *tha* ſo naomha do'n t-ſagart maille ris an uchd luaiſgte, agus *maille ris* an t-ſlinnean thogta: agus an déigh ſin feudaidh an Naſarach fìon òl.

21 *Is* e ſo lagh an Naſaraich, a thug bòid, *agus lagh* a thabhartais do'n Tighearna air ſon a dhealachaidh, a thuilleadh air na gheibh a làmh: a réir a bhòid a bhòidich e, mar ſin is éigin da dheanamh, a réir lagh a dhealachaidh.

22 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

23 Labhair ri h-Aaron agus r'a mhic, ag ràdh, Air a' mhodh ſo beannuichidh ſibh clann Iſraeil, ag ràdh riu,

24 Gu'm beannuicheadh an Tighearn thu, agus gu'n gleidheadh e thu:

25 Gu'n dthugadh an Tighearn air 'aghaidh dealrachadh ort, agus bitheadh e gràſmhor dhuit:

26 Gu'n togadh an Tighearna ſuas a ghnùis ort, agus gu'n dthugadh e ſìth dhuit.

27 Agus cuiridh iad m'ainm air cloinn Iſraeil, agus beannuichidh miſe iad.

C A I B. VII.

AGUS tharladh air an là anns an do chuir Maois ſuas am pàilliun gu h-iomlan, agus ſan d'ung ſe *e*, agus ſan do naomhaich ſe e, agus 'uidheam[a] uile, araon[b] an altair agus a ſoithichean uile, agus ſan d'ung e iad, agus ſan do naomhaich e iad;

2 Gu'n dthug ceannardan[c] Iſraeil, cinn tighe an aithreacha, (eadhon ceannardan nan treubh, a bha os cionn na muinntir a chuidh àireamh) ſeachad tabhartas:

3 Agus thug iad an tabhartas an làthair an Tighearna, sè feunan còmhdaichta, agus dà dhamh dheug: feun[d] air ſon dithis do na ceannardaibh, agus damh air ſon gach fear dhiubh, agus thug iad air beulaobh a' phàilliuin iad.

4 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

5 Gabh uatha *iad*, a chum as gu'm bi iad a dheanamh ſeirbhis pàilliuin a' choimhthionail; agus bheir thu iad do na Lebhithich, do gach fear a réir a ſheirbhis.

6 Agus ghabh Maois na feunan agus na daimh, agus thug e do na Lebhithich iad.

7 Dà fheun agus ceithir daimh thug e do mhic Gherſoin, a réir an ſeirbhis[e]:

8 Agus ceithir feunan agus ochd daimh thug e do mhic Mherari, a réir an ſeirbhis, fuidh làimh Itamair mhic Aaroin an t-ſagairt.

9 Ach do mhic Chohait cha dthug e h-aon air bith; a chionn gu'*m b'e* ſeirbhis an ionaid naomha a bhuineadh dhoibhſan, gu'n giùlaineadh iad air an guailibh.

10 Agus thug na ceannardan ſeachad tabhartas a chum coiſreagaidh na h-altarach, air an là anns an d'ungadh i; thug eadhon na ceannardan ſeachad an tabhartas air beulaobh na h-altarach.

11 Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, Bheir gach ceannard ſeachad a thabhartas air a là féin, chum coiſreagaidh na h-altarach.

12 Agus eſan a thug ſeachad a thabhartas air a' cheud là, b'e Nahſon mac Aminadaib do thréibh Iudaih.

13 Agus b'e a thabhartas aon mhias[f] airgid, d'am bu chudthrom ceud agus deich *ſeceil* 'ar fhichead, aon chuach[g] airgid do dheich agus tri fichead ſecel, a réir ſeceil an ionaid naomha, iad le chéile làn do phlùr mìn measgta le h-oladh, chum tabhartais-bidh:

14 Aon ſpàin do dheich *ſeceil* òir, làn do thùis:

15 Aon tarbh òg, aon reithe, aon uan do'n cheud bhliadhna, chum iobairt-loiſgte:

16 Aon

[a] *innil, a ſhoithichean.* [b] *agus.* Eabh [c] *cinn-feadhna, maithean.* [d] *feanaidh.* [e] *am frithealaidh, am foghnaidh.* [f] *chlàr.* [g] *chopan, ſoitheach-cratbaidh.*

16 Aon mheann do na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh :

17 Agus a chum ìobairt nan tabhartas-ſìth, dà tharbh, cùig reith-eachan, cùig buic-gaibhre, cùig uain do'n cheud bhliadhna. *B'e* ſo tabhartas Nahſoin mhic Amminadaib.

18 Air an dara là thug Nataneel mac Shuair ceannard Iſachair, ſeachad tabhartas.

19 Thug e ſeachad mar a thabhartas aon mhias airgid, d'am bu chudthrom ceud agus deich *ſeceil* 'ar fhichead, aon chuach airgid do dheich agus tri fichead ſecel, a réir ſeceil an ionaid naomha, iad le chéile làn do phlùr mìn meaſgta le h-oladh, chum tabhartais bìdh :

20 Aon ſpàin òir do dheich *ſeceil*, làn do thùis :

21 Aon tarbh òg, aon reithe, aon uan do'n cheud bhliadhna, chum ìobairt-loiſgte :

22 Aon mheann do na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh ;

23 Agus a chum ìobairt nan tabhartas-ſìth, dà tharbh, cùig reith-eachan, cùig buic-gaibhre, cùig uain do'n cheud bhliadhna. *B'e* ſo tabhartas Nataneeil mhic Shuair.

24 Air an treas là *thug* Eliab mac Heloin ceannard chloinn Shebuluin, *ſeachad tabhartas.*

25 *B'e* a thabhartas-ſan aon mhias airgid, d'*am bu* chudthrom ceud agus deich *ſeceil* 'ar fhichead, aon chuach airgid do dheich agus tri fichead ſecel a réir ſeceil an ionaid naomha, iad le chéile làn do phlùr mìn meaſgta le h-oladh, chum tabhartais-bìdh ;

26 Aon ſpàin òir do dheich *ſeceil*, làn do thùis ;

27 Aon tarbh òg, aon reithe, aon uan do'n cheud bhliadhna, chum ìobairt-loiſgte :

28 Aon mheann do na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh :

29 Agus a chum ìobairt nan tabhartas-ſìth, dà tharbh, cùig reith-eachan, cùig buic-gaibhre, cùig uain do'n cheud bhliadhna. *B'e* ſo tabhartas Eliaib mhic Heloin.

30 Air a' cheathramh là *thug* Eliſur mac Shedeuir, ceannard chloinn Reubein, *ſeachad tabhartas.*

31 *B'e* a thabhartas aon mhias airgid do cheud agus deich ſeceil 'ar fhichead, aon chuach airgid do dheich agus tri fichead ſecel a réir ſeceil an ionaid naomha, iad le chéile làn do phlùr mìn meaſgta le h-oladh, chum tabhartais-bìdh :

32 Aon ſpàin òir do dheich *ſeceil*, làn do thùis :

33 Aon tarbh òg, aon reithe, aon uan do'n cheud bhliadhna, chum ìobairt-loiſgte :

34 Aon mheann do na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh :

35 Agus a chum ìobairt nan tabhartas-ſìth, dà tharbh, cùig reith-eachan, cùig buic-gaibhre, cùig uain do'n cheud bhliadhna. *B'e* ſo tabhartas Eliſuir mhic Shedeuir.

36 Air a' chùigeadh là *thug* Selumiel mac Shuriſadai, ceannard chloinn Shimeoin, *ſeachad tabhartas.*

37 *B'e* a thabhartas-ſan aon mhias airgid, d'am bu chudthrom ceud agus deich *ſeceil* 'ar fhichead, aon chuach airgid do dheich agus tri fichead ſecel, a réir ſeceil an ionaid naomha, iad le chéile làn do phlùr mìn meaſgta le h-oladh, chum tabhartais-bìdh.

38 Aon ſpàin òir do dheich ſeceil, làn do thùis :

39 Aon tarbh òg, aon reithe, aon uan do'n cheud bhliadhna, chum ìobairt-loiſgte :

40 Aon mheann do na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh :

41 Agus a chum ìobairt nan tabhartas-ſìth, dà tharbh, cùig reith-eachan, cùig buic-gaibhre, cùig uain do'n cheud bhliadhna. *B'e* ſo tabhartas Shelumiel mhic Shuriſadai.

42 Air an t-ſeathadh là *thug* Eliaſaph mac Dheueil, ceannard chloinn Ghad, *ſeachad tabhartas.*

43 *B'e* a thabhartas-ſan aon mhias airgid, d'am bu chudthrom ceud agus deich *ſecel* 'ar fhichead, aon chuach airgid do dheich agus tri fichead ſecel, a réir ſeceil an ionaid naomha, iad le chéile làn do phlùr mìn meaſgta le h-oladh, chum tabhartais-bìdh :

44 Aon ſpàin òir do dheich *ſeceil*, làn do thùis :

45 Aon tarbh òg, aon reithe, aon

uan do'n cheud bhliadhna, chum iobairt-loisgte:

46 Aon mheann do na gabhraibh chum iobairt pheacaidh:

47 Agus a chum ìobairt nan tabhartas-sìth, dà tharbh, cùig reitheachan, cùig buic-gaibhre, cùig uain do'n cheud bhliadhna. *B'e* so tabhartas Eliasaiph mhic Dheueil.

48 Air an t-seachdamh là *thug* Elisama mac Amihuid, ceannard chloinn Ephraim, *seachad tabhartas*.

49 *B'e* a thabhartas-san aon mhias airgid, d'am bu chudthrom ceud agus deich *secel* 'ar fhichead, aon chuach airgid do dheich agus tri fichead secel, a réir seceil an ionaid naomha, iad le chéile làn do phlùr mìn measgta le h-oladh, chum tabhartais-bìdh:

50 Aon spàin òir do dheich *seceil*, làn do thùis:

51 Aon tarbh òg, aon reithe, aon uan do'n cheud bhliadhna, chum ìobairt-loisgte:

52 Aon mheann do na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh:

53 Agus a chum ìobairt nan tabhartas-sìth dà tharbh, cùig reitheachan, cùig buic-gaibhre, cùig uain do'n cheud bhliadhna. *B'e* so tabhartas Elisama mhic Amihuid.

54 Air an ochdamh là *thug* Gamaliel mac Phedahsuir, ceannard chloinn Mhanaseih, *seachad tabhartas*.

55 *B'e* a thabhartas-san aon mhias airgid do cheud agus deich *seceil* 'ar fhichead, aon chuach airgid do dheich agus tri fichead secel a réir seceil an ionaid naomha, iad le chéile làn do phlùr mìn measgta le h-oladh, chum tabhartais-bìdh:

56 Aon spàin oir do dheich *seceil*, làn do thùis:

57 Aon tarbh òg, aon reithe, aon uan do'n cheud bhliadhna, chum ìobairt-loisgte:

58 Aon mheann do na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh:

59 Agus a chum ìobairt nan tabhartas-sìth, dà tharbh, cùig reitheachan, cùig buic-gaibhre, cùig uain do'n cheud bhliadhna. *B'e* so tabhartas Ghamaliel mhic Phedahsuir.

60 Air an naothadh là, *thug* Abidan mac Ghideoni, ceannard chloinn Beniamin, *seachad tabbartas*.

61 *B'e* a thabhartas-san aon mhias airgid, d'am bu chudthrom ceud agus deich *seceil* 'ar fhichead, aon chuach airgid do dheich agus tri fichead secel, a réir seceil an ionaid naomha, iad le chéile làn do phlùr mìn measgta le h-oladh, chum tabhartais-bìdh:

62 Aon spàin òir do dheich *seceil*, làn do thùis:

63 Aon tarbh òg, aon reithe, aon uan do'n cheud bhliadhna, chum ìobairt-loisgte:

64 Aon mheann do na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh:

65 Agus a chum ìobairt nan tabhartas-sìth, dà tharbh, cùig reitheachan, cùig buic-gaibhre, cùig uain do'n cheud bhliadhna. *B'e* so tabhartas Abidain mhic Ghideoni.

66 Air an deicheamh là *thug* Ahieser mac Amisadai, ceannard chloinn Dhan, *seachad tabbartas*.

67 *B'e* a thabhartas-san aon mhias airgid, d'*am bu* chudthrom, ceud agus deich *seceil* 'ar fhichead, aon chuach airgid do dheich agus tri fichead secel, a réir seceil an ionaid naomha, iad le chéile làn do phlùr mìn measgta le h-oladh, chum tabhartais-bìdh:

68 Aon spàin òir do dheich *seceil*, làn do thùis:

69 Aon tarbh òg, aon reithe, aon uan do'n cheud bhliadhna, chum ìobairt-loisgte:

70 Aon mheann do na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh:

71 Agus a chum ìobairt nan tabhartas-sìth, dà tharbh, cùig reitheachan, cùig buic-gaibhre, cùig uain do'n cheud bhliadhna. *B'e* so tabhartas Ahieseir mhic Amisadai.

72 Air an aon là deug *thug* Pagiel mac Ocrain, ceannard chloinn Aseir, *seachad tabbartas*.

73 *B'e* a thabhartas-san aon mhias airgid, d'am bu chudthrom ceud agus deich *seceil* 'ar fhichead, aon chuach airgid do dheich agus tri fichead secel a réir seceil an ionaid naomha, iad le chéile làn do phlùr mìn measgta le h-oladh, chum tabhartais-bìdh:

74 Aon spàin òir do dheich *seceil*, làn do thuis:

75 Aon tarbh òg, aon reithe, aon uan do'n cheud bhliadhna, chum ìobairt-loisgte:

76 Aon mheann do na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh:

77 Agus a chum ìobairt nan tabhartas-sìth, dà tharbh, cùig reitheachan, cùig buic-gaibhre, cùig uain do'n cheud bhliadhna. *B'e* so tabhartas Phagieil mhic Ocrain.

78 Air an dara là deug, *thug* Ahira mac Enain, ceannard chloinn Naphtali, *seachad tabhartas*.

79 *B'e* a thabhartas-san aon mhias airgid, d'am bu chudthrom ceud agus deich *seceil* 'ar fhichead, aon chuach airgid do dheich agus tri fichead secel, a réir seceil an ionaid naomha, iad le chéile làn do phlùr mìn measgta le h-oladh, chum tabhartais-bìdh:

80 Aon spàin òir do dheich *seceil*, làn do thùis:

81 Aon tarbh og, aon reithe, aon uan do'n cheud bhliadhna, chum ìobairt-loisgte.

82 Aon mheann do na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh:

83 Agus a chum ìobairt nan tabhartas-sìth, dà tharbh, cùig reitheachan, cùig buic-gaibhre, cùig uain do'n cheud bhliadhna. *B'e* so tabhartas Ahira mhic Enain.

84 *B'e* so coisreagadh na h-altarach (san là anns an d'ungadh i) le ceannardaibh Israeil: dà mhias dheug airgid, dà chuach dheug airgid, dà spàin dheug òir:

85 *Bu chudthrom* do gach meis airgid ceud agus deich *seceil* 'ar fhichead, agus do gach cuaich deich agus tri fichead: *B'e cudthrom* nan soithichean airgid uile, dà mhìle agus ceithir cheud *seceil*, a réir seceil an ionaid naomha.

86 *Bha* dà spàin dheug òir *ann*, làn do thùis, cudthrom gach aon fa leth deich seceil a réir seceil an ionaid naomha: *b'e* òr nan spàinean uile ceud agus fichead *secel*.

87 *B'iad* na tairbh uile chum ìobairt-loisgte dà tharbh dheug, na reitheachan a dhà-dheug, na h-uain do'n cheud bhliadhna dhà-dheug, maille r'an tabhartas-bìdh: agus na minn do na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh dhà-dheug.

88 Agus *b'iad* na tairbh uile chum ìobairt nan tabhartas-sìth, ceithir tairbh 'ar fhichead, na reitheachan tri fichead, na buic-gaibhre tri fichead, na h-uain do'n cheud bhliadhna tri fichead. *B'e* so coisreagadh na h-altarach an déigh dh'i bhi air a h-ungadh.

89 Agus an uair a chaidh Maois a steach do phàilliun a' choimhthionail, a labhairt ris [a]: an sin chual e guth *aon* a' labhairt ris o uachdar cathair-na-tròcair a *bha* os cionn àirc na fianuis, o eadar an dà cherub: agus labhair e ris.

CAIB. VIII.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

2 Labhair ri h-Aaron, agus abair ris, 'Nuair a lasas tu na lòchrain, bheir na seachd lòchrain solus uatha thall fa chomhair a' choinnleir.

3 Agus rinn Aaron mar sin; las e a lòchrain thall fa chomhair a' choinnleir; mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

4 Agus *b'e* so obair a' choinnleir: *bha e* dh'òr buailte gu nuig a chas, gu nuig a bhlàthan *bha* e dh'obair bhuailte: a réir an t-samhlaidh a nochd an Tighearna do Mhaois, mar sin rinn e 'n coinnleir.

5 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

6 Gabh na Lebhithich o mheasg chloinn Israeil, agus glan iad.

7 Agus mar so nì thu riu, chum an glanadh: crath uisge glanaidh orra, agus thugadh iad ealtainn thar [b] am feoil uile, agus nigheadh iad an eudach, agus *mar sin* deanadh iad glan iad féin.

8 An sin gabhadh iad tarbh òg maille r'a thabhartas-bìdh, *eadhon* plùr mìn measgta le h-oladh, agus tarbh òg eile gabhaidh tu chum ìobairt-pheacaidh.

9 Agus bheir thu na Lebhithich air beulaobh pàilliuin a' choimhthionail;

[a] *ri* Dia.

[b] *bearradh iad*

ai agus cruinnichidh tu coimhthional chloinn Israeil uile an ceann a' chéile:

10 Agus bheir thu na Lebhithich an làthair an Tighearna, agus cuiridh clann Israeil an làmhan air na Lebhithich:

11 Agus luaisgidh Aaron na Lebhithich ann an làthair an Tighearna, *mar* thabhartas luaisgte o chloinn Israeil; a chum as gu'n dean iad seirbhis an Tighearna.

12 Agus cuiridh na Lebhithich an làmhan air cinn nan tarbh; agus iobraidh tu h-aon *diubh mar* iobairt-pheacaidh, agus am fear eile *mar* iobairt-loisgte do'n Tighearna, a dheanamh réite air son nan Lebhitheach.

13 Agus cuiridh tu na Lebhithich an làthair Aaroin, agus an làthair a mhac, agus luaisgidh tu iad *mar* thabhartas-luaisgte do'n Tighearna.

14 Mar so sgaraidh tu na Lebhithich o mheasg chloinn Israeil; agus bithidh na Lebhithich leamsa.

15 Agus na dhéigh sin théid na Lebhithich a steach a dheanamh seirbhis pàilliuin a' choimhthionail; agus glanaidh tu iad, agus luaisgidh tu iad *mar* thabhartas-luaisgte:

16 Oir thugadh dhomhsa gu h-iomlan iad o mheasg chloinn Israeil; an àite gach aon a dh'fhosglas a' bhrù, *eadhon an àite* ceud-ghin chloinn Israeil uile, ghabh mi dhomh iad.

17 Oir *is* leamsa uile cheud-ghin chloinn Israeil, *araon* duine agus ainmhidh: san là air an do bhuail mi gach ceud-ghin ann an tìr na h-Eiphit, naomhaich mi iad dhomh féin.

18 Agus ghabh mi na Lebhithich an àite uile cheud-ghin chloinn Israeil.

19 Agus thug mi na Lebhithich mar thiodhlac do Aaron, agus d'a mhic, o mheasg chloinn Israeil, a dheanamh seirbhis chloinn Israeil ann am pàilliun a' choimhthionail, agus a dheanamh réite air son chloinn Israeil; a chum as nach bi plàigh sam bith am measg chloinn Israeil, an uair a thig clann Israeil am fagus do'n ionad naomha.

20 Agus rinn Maois agus Aaron, agus coimhchruinneach chloinn Israeil uile, r ... na Lebhithich a réir gach ni a dh'àithn an Tighearna do Mhaois a thaobh nan Lebhitheach, mar sin rinn clann Israeil riu.

21 Agus ghlanadh na Lebhithich, agus nigh iad an cudach; agus thug Aaron suas[a] iad *mar* thabhartas an làthair an Tighearna; agus rinn Aaron réite air an son a chum an glanadh.

22 Agus an déigh sin chaidh na Lebhithich a steach a dheanamh an seirbhis ann am pàilliun a' choimhthionail an làthair Aaroin agus an làthair a mhac: mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois a thaobh nan Lebhitheach, mar sin rinn iad riu.

23 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

24 *Is e* so *an ni* a *bhuineas* do na Lebhithich: o chùig bliadhna fichead a dh'aois, agus os a cheann, théid iad a steach a dh'fheitheamh air seirbhis pàilliuin a' choimhthionail.

25 Agus o aois leth-cheud bliadhna sguiridh iad a dh'fheitheamh air *a* sheirbhis, agus cha dean iad seirbhis ni 's mo:

26 Ach fritheilidh iad maille r'am bràithribh ann am pàilliun a' choimhthionail a ghleidheadh a chùraim, agus cha dean iad seirbhis sam bith *eile*. Mar so ni thu ris na Lebhithich a thaobh an cùraim.

C A I B. IX.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois ann am fàsach Shinai, sa' cheud mhìos do'n dara bliadhna, an déigh dhoibh teachd a mach a' tìr na h-Eiphit, ag ràdh,

2 Cumadh mar an ceudna clann Israeil a' chàisg na h-àm suidhichte féin.

3 Sa' cheathramh là deug do'n mhìos so air feasgar[b], cumaidh sibh i na h-àm suidhichte féin, a réir a h-orduighean uile, agus a réir a deasghnàthan uile cumaidh sibh i.

4 Agus labhair Maois ri cloinn Israeil, iad a chumail na càisge.

5 Agus chum iad a' chàisg air a' cheathramh là deug do'n cheud mhìos

[a] *dh'ofrail Aaron.* [b] *eadar an dà fheasgar.* Eabh.

mhìos air feaſgar, ann am fàſach Shi-
nai: a réir gach ni a dh'àithn an
Tighearna do Mhaois, mar ſin rinn
clann Iſraeil.
6 Agus bha daoine àraidh a ſhal-
aicheadh le corp duine mhairbh, air
chor as nach b'urrainn iad a' chàiſg a
chumail air an là ſin; agus thàinig iad
an làthair Mhaois, agus an làthair Aa-
roin air an là ſin.
7 Agus thubhairt na daoine ſin ris,
Tha ſinne air ar ſalachadh le corp
duine mhairbh: c'ar ſon a chumar air
ar n-ais ſinn, a chum as nach feud ſinn
tabhartas an Tighearna thoirt ſeachad
na àm ſuidhichte féin am meaſg
chloinn Iſraeil?
8 Agus thubhairt Maois riu, Seaſ-
aibh *an ſin*, agus cluinnidh miſe ciod
a dh'àithneas an Tighearna d'ar
taobh.
9 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
10 Labhair ri cloinn Iſraeil, ag
ràdh, Ma bhios duine ſam bith dhibh
no d'ar ſliochd air a ſhalachadh le
corp marbh, no *ma bhios e* air thurus
fad air aſtar, gidheadh cumaidh e
chàiſg do'n Tighearna.
11 Sa' cheathramh là deug do'n
dara mìos air feaſgar cumaidh iad i:
le h-aran neo-ghoirtichte, agus le *luſ-
aibh* ſearbha ithidh iad i.
12 Cha 'n fhàg iad a' bheag dhith
gu maduinn, ni mò a bhriſeas iad
cnàimh dhith: a réir uile orduighean
na càiſge cumaidh iad i.
13 Ach an duine a *ta* glan, agus
nach 'eil air thurus, agus a dhearmad-
as a' chàiſg a chumail; gearrar eadhon
an t-anam ſin féin as o 'ſhluagh, a
chionn nach d'thug e ſeachad tabhart-
as an Tighearna na àm ſuidhichte:
giùlainidh an duine ſin a pheacadh.
14 Agus ma bhios coigreach air
chuairt 'nar meaſg, agus gu'n cum e
chàiſg do'n Tighearna, a réir orduigh
na càiſge, agus a réir a gnàtha, mar
ſin ni e: bithidh aon ordugh agaibh
araon air ſon a' choigrich, agus air a
ſhon-ſan a rugadh ſan tìr.
15 Agus air an là anns an do thog-
adh ſuas am pàilliun, chòmhdaich an
neul am pàilliun, *eadhon* bùth na
fianuis; agus air feaſgar bha air a'
phàilliun mar gu'm bu choſlas[a] teine
gus a' mhaduinn.
16 Mar ſin bha e ghnàth: chòmh-
daich an neul e *ſan là*, agus coſlas teine
ſan oidhche.
17 Agus an uair a thogadh an
neul ſuas o'n phàilliun, an ſin gun
dàil ghabh clann Iſraeil an turus; a-
gus ſan ionad anns an do ſtad an
neul, ann an ſin champaich clann Iſ-
raeil.
18 Air àithne an Tighearna
ghabh clann Iſraeil an turus, agus air
àithne an Tighearna champaich iad:
am feadh 's a dh'fhan an neul air a'
phàilliun, dh'fhan iad nam bùthaibh.
19 Agus an uair a dh'fhan an neul
air a' phàilliun mòran do laithibh, an
ſin ghleidh clann Iſraeil freaſdal[b] an
Tighearna, agus cha d'imich iad.
20 Agus an uair a bha an neul
beagan do laithibh air a' phàilliun, a
réir àithne an Tighearna dh'fhan iad
nam bùthaibh, agus a réir àithne an
Tighearna ghabh iad an turus.
21 Agus an uair a dh'fhan an neul
o fheaſgar gu maduinn, agus a thog-
adh an neul ſuas ſa' mhaduinn, an ſin
ghabh iad an turus: ma b'ann ſan là
no ſan oidhch' a thogadh an neul ſuas,
ghabh iad an turus.
22 No co *dhiubh a b'ann* dà là, no
mìos, no bliadhna, dh'fhan an neul air
a' phàilliun, a' fuireach air, dh'fhan
clann Iſraeil nam bùthaibh, agus cha
d'imich iad: ach an uair a thogadh
ſuas e, ghabh iad an turus[c].
23 A réir àithne an Tighearna
dh'fhan iad nam bùthaibh, agus a
réir àithne an Tighearna ghabh iad
an turus: ghleidh iad freaſdal an Ti-
ghearna a réir àithne an Tighearna le
làimh Mhaois.

CAIB. X.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
2 Dean dhuit féin dà thrompaid
airgid; a dh'aon mhìr ni thu iad; agus
gnàthaichidh tu iad a ghairm a'
choimhthionail, agus a chum turuis[d]
nan camp.
3 Agus an uair a ſhéideas iad leo,
cruinnichidh

[a] *choſamhlas.* [b] *cùram, earbſadh.* [c] *thriall iad.* [d] *gluaſad.*

cruinnichidh an coimhthional uile iad
féin a' t' ionnsuidh aig dorus pàilliuin
a' choimhthionail.
4 Agus mur séid iad *ach* le h-aon
trompaid, an sin cruinnichidh na ceann-
ardan *a ta* nan cinn-fheadhna air
mhìltibh Israeil, iad féin a' t' ionn-
suidh.
5 'Nuair a shéideas sibh caism-
eachd [a], an sin théid na campan a
ta nan luidh air taobh na h-airde 'n
ear air an aghaidh.
6 'Nuair a shéideas sibh caismeachd
an dara uair, an sin théid na campan
a ta nan luidh air taobh na h-airde
deas air an aghaidh: séididh iad caism-
eachd a' chum an turusan.
7 Ach an uair a tha 'n coimhthional
gu bhi air a chruinneachadh an ceann
a chéile, séididh sibh, ach cha séid sibh
caismeachd.
8 Agus séididh mic Aaroin na
sagartan leis na trompaidibh; agus
bithidh iad dhuibh [b] mar reachd
siorruidh air feadh bhur ginealacha.
9 Agus ma théid sibh gu cogadh
nar dùthaich an aghaidh an nàmhaid
a ta deanamh foirneart oirbh, an sin
séididh sibh caismeachd leis na trom-
paidibh; agus cuimhnichear sibh an
làthair an Tighearna bhur Dé, agus
saorar sibh o bhur naimhdibh.
10 Mar an ceudna ann an là bhur
subhachais, agus nar n-ard laithibh
féille, agus ann an toiseach bhur mìos,
séididh sibh leis na trompaidibh os
cionn bhur n-ìobairte-loisgte, agus os
cionn ìobairte bhur tabhartasan sìth;
agus bithidh iad dhuibh mar chuimh-
neachan an làthair bhur Dé: *Is* mise
an Tighearna bhur Dia.
11 Agus tharladh air an fhi-
cheadamh *là* do'n dara mìos, san dara
bliadhna, gu'n do thogadh suas an
neul o uachdar pàilliuin na fianuis.
12 Agus ghabh clann Israeil an
turusan a fàsach Shinai; agus stad an
neul anns an fhàsach Pharain.
13 Agus ghabh iad air tùs an turus,
a réir àithne an Tighearna le làimh
Mhaois.
14 Sa' cheud *àite* dh'imich bratach
chaimp chloinn Iudaih, a réir an
armailtean; agus air ceann a shlòigh
bha Nahson mac Aminadaib.
15 Agus air ceann slòigh thréibh
chloinn Isachair *bha* Nataneel mac
Shuair.
16 Agus air ceann slòigh thréibh
chloinn Shebuluin *bha* Eliab mac
Heloin.
17 Agus thugadh a nuas am pàilliun;
agus chaidh mic Ghersoin, agus mic
Mherari air an aghaidh, a' giùlan a'
phàilliuin.
18 Agus ghluais bratach chaimp
Reubein air a h-aghaidh a réir an
armailtean; agus air ceann a shlòigh
bha Elisur mac Shedeuir.
19 Agus air ceann slòigh thréibh
chloinn Shimeoin, *bha* Selumiel mac
Shurisadai.
20 Agus air ceann slòigh thréibh
chloinn Ghad, *bha* Eliasaph mac
Dheuil.
21 Agus chaidh na Cohataich air
an aghaidh, a' giùlan an ionaid
naomha, agus chuireadh suas am pàil-
liunn air cheann doibh teachd.
22 Agus ghluais bratach chaimp
chloinn Ephraim air a h-aghaidh a
réir an armailtean: agus air ceann a
shlòigh *bha* Elisama mac Amihuid.
23 Agus air ceann slòigh thréibh
chloinn Mhanaseh *bha* Gamaliel mac
Phedahsuir.
24 Agus air ceann slòigh thréibh
chloinn Bheniamin *bha* Abidan mac
Ghideoni.
25 Agus chaidh bratach thréibh
chloinn Dhan air a h-aghaidh, *a bha*
air deireadh nan campan uile air feadh
an slòigh: agus air ceann a shlòigh
bha Ahieser mac Amisadai.
26 Agus air ceann slòigh thréibh
chloinn Aseir, *bha* Pagiel mac Ocrain.
27 Agus air ceann slòigh thréibh
chloinn Naphtali, *bha* Ahira mac
Enain.
28 *B'* iad sin turusan chloinn Israeil,
a réir an armailtean, 'nuair a ghluais
iad air an aghaidh.
29 Agus thubhairt Maois ri Hobab
mac Ragueil a' Mhidianaich, ath-
ar-céile Mhaois, Tha sinn air ar turus
a chum an àite m'an dubhairt Dia,
Bheir

[a] *cath-fhuaim.* [b] *bithidh e dhuibh.*

Bheir mi dhuibh e: thig thuſa maille ruinn, agus ni ſinn math dhuit; oir labhair an Tighearna math a thaobh Iſraeil.

30 Agus thubhairt e ris, Cha dthéid mi *maille ribh:* ach imichidh mi chum mo dhùthcha féin, agus a chum mo dhilſean [a] féin.

31 Agus thubhairt e, Na fàg ſinn, guidheam oit, oir tha fhios agad cionnus a champaicheas ſinn anns an fhàſach, agus bithidh tu dhuinn an àite ſhùl [b].

32 Agus tarlaidh, ma théid thu maille ruinn, ſeadh, tarlaidh, ge b'e math a ni Dia dhuinne, gu'n dean ſinne am math ceudna dhuitſe.

33 Agus dh'imich iad o ſhliabh [c] an Tighearna aſtar thri laithean: agus chaidh àirc coimhcheangail an Tighearna rompa aſtar thri laithean, a rannſachadh a mach àite tàimh dhoibh.

34 Agus *bha* neul an Tighearna orra ſan là, 'nuair a chaidh iad a mach as a' champ.

35 Agus tharla 'nuair a bha 'n àirc gu dol air a h-aghaidh, gu'n dubhairt Maois, Eirich ſuas, a Thighearna, agus biodh do naimhdean air an ſgapadh, agus teicheadh a' mhuinntir leis am fuathach thu romhad.

36 Agus an uair a ſtad i, thubhairt e, Pill, a Thighearna, chum nam mìle [d] do mhìltibh Iſraeil.

C A I B. XI.

AGUS an uair a rinn an ſluagh gearan, mhi-thaitinn e ris an Tighearna: agus chual' an Tighearn*e;* agus las 'fhearg; agus loiſg teine an Tighearna nam meaſg, agus chuir e as *doibhſan a bha* 'n iomall a' chaimp.

2 Agus ghlaodh an ſluagh ri Maois: agus an uair a rinn Maois ùrnuigh ris an Tighearna, choiſgeadh [e] an teine.

3 Agus thug e Taberah mar ainm air an àite ſin; a chionn gu'n do loiſg teine an Tighearna nam meaſg.

4 Agus ghlac ciocras [f] an cumaſg ſluaigh [g] a *bha* nam meaſg: agus ghuil mar an ceudna clann Iſraeil a rìs, agus thubhairt iad, Cò bheir dhuinn feoil r'a h-itheadh?

5 Is cuimhne leinn an t-iaſg a dh'ith ſinn ſan Eiphit gu ſaor [h]; na cularain [k], agus na mealbhucain [l], agus na léicis, agus na h-uinneinean, agus an creamh [m].

6 Ach a nis *tha* ar n-anam air tiormachadh: cha *'n'eil* ni air bith *againn* ach am mana ſo nar ſealladh.

7 Agus *bha* am mana coſmhuil ri fras coriandeir, agus a dhath mar dhath bdellium.

8 Chaidh an ſluagh m'an cuairt, agus thionail iad *e,* agus mheil [n] iad *e* ann am muilnibh, no phronn iad *e* ann am mortair [o], agus bhruich iad *e* ann an aighnibh, agus rinn iad breacagan deth: agus bha 'bhlas mar bhlas olaidh ùir.

9 Agus an uair a thuit an drùchd [p] air a' champ ſan oidhche, thuit am mana air.

10 An ſin chuala Maois an ſluagh a' gul tre 'n teaghlaichibh, gach duine ann an dorus a bhùtha: agus laſadh fearg an Tighearna gu mòr; bha Maois mar an ceudna diomach [q].

11 Agus thubhairt Maois ris an Tighearna, C'ar ſon a bhuin thu gu h-olc ri d' ſheirbhiſeach? agus c'ar ſon nach d'fhuair mi deagh-ghean [r] a'd' ſhealladh, gu'n do leag thu eireadh [s] an t-ſluaigh ſo uile orm?

12 Am miſe a ghin an ſluagh ſo uile? an ann domh a rugadh iad, gu'n abradh tu rium, Giùlain a'd' uchd iad (mar a ghiùlaineas oid'-altruim leanabh na ciche) chum an fhearainn a mhionnaich thu d'an aithreachaibh?

13 Cia as a gheibhinn-ſa feoil gu tabhairt do'n t-ſluagh ſo uile? oir tha iad a' gul rium, ag ràdh, Thoir

dhuinn

[a] *mo chinnich.* [b] *cionnus a champaich ſinn anns an fhàſach, agus bha thu dhuinne an àite ſhùl.* [c] *bheinn.* [d] *nan deich mìlte.* Eabh. [e] *mhùchadh.* [f] *miann.* [g] *an sluagh meaſgta.* [h] *a naſgaidh.* [k] *cucumbers.* Saſg. [l] *melons* Saſg. [m] *garlick.* Saſg. [n] *bhleath.* [o] *bràth-ſpioſraidh.* [p] *driùchd.* [q] *diom-buidheach.* [r] *fàbhor.* [s] *eallach, cudthrom.*

dhuinn feoil, o chum as gu'n ith sinn?

14 Cha'n urrainn mise *cudthrom* an t-sluaigh so uile a ghiùlan a'm' aonar, a chionn gu *bheil e* ro throm air mo shon.

15 Agus ma bhuineas tu rium mar so, marbh mi, guidheam ort, as an làimh, ma fhuair mi deagh-ghean a'd' shealladh; agus na faiceam mo thruaighe.

16 Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, Cruinnich dhomh-sa deich agus tri fichead fear do sheanairibh Israeil, muinntir a's aithne dhuit a bhi nan seanairibh an t-sluaigh, agus nan luchd-riaghlaidh os an ceann; agus thoir iad gu pàilliun a' choimhthionail, a chum as gu'n seas iad an sin maille riut.

17 Agus thig mise nuas agus labhraidh mi riut an sin: agus gabhaidh mi do'n spiorad a *ta* ortsa, agus cuiridh mi orra-san e: agus giùlainidh iad eallach an t-sluaigh maille riut, a chum as nach giùlain thu féin *e* a'd' aonar.

18 Agus abair ris an t-sluagh, Naomhaichibh sibh féin air cheann an là màireach, agus ithidh sibh feoil; (oir ghuil sibh ann an éisdeachd[a] an Tighearna, ag ràdh, Cò bheir dhuinn feoil r'a h-itheadh? oir *bu* mhath ar cor san Eiphit) uime sin bheir an Tighearna feoil dhuibh, agus ithidh sibh.

19 Cha'n ith sibh aon là, no dà là, no cùig laithean, no deich làithean, no fichead là;

20 Ach eadhon mìos iomlan, gus an dthig i mach a cuinneinibh bhur sròn, agus gu'm bi i gràineil duibh: a chionn gu'n d'rinn sibh tàir air an Tighearn a *ta* nar measg, agus gu'n do ghuil sibh na lathair, ag ràdh, C'ar son a thàinig sinn a mach as an Eiphit?

21 Agus thubhairt Maois, Tha'n sluagh asa measg am bheil mise, nan sè ceud mìle coisiche; agus thubhairt thu, Bheir mi dhoibh feoil, a chum as gu'n ith iad rè mìos iomlain:

22 Am marbhar na caoraich agus am buar dhoibh, chum an sàsuchadh? no an cruinnichear iasg na mara uile r'a chéile dhoibh, chum an sàsuchadh?

23 Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, Am bheil làmh an Tighearn air fàs goirid? chi thus' a nis an dthig no nach dthig m'fhocal gu crìch dhuit.

24 Agus chaidh Maois a mach, agus dh'innis e do'n t-sluagh focail an Tighearna, agus chruinnich e an deich agus an tri fichead do sheanairibh an t-sluaigh, agus thug e orra seasamh mu thimchioll a' phàilliuin.

25 Agus thàinig an Tighearn a nuas ann an neul, agus labhair e ris, agus ghabh e do'n spiorad a *bha* air, agus thug se *e* do'n deich agus an tri fichead seanair: agus tharla, 'nuair a ghabh an spiorad còmhnuidh orra, gu'n d'rinn iad fàidheadoireachd, agus nach do sguir iad[b].

26 Ach dh'fhan dithis *do na* daoinibh sa' champ; *b'e* ainm a h-aon diubh Eldad, agus ainm an fhir eile Medad: agus ghabh an spiorad còmhnuidh orra, (agus *bha* iad dhiubh-san a chaidh sgrìobhadh, ach cha deachaidh iad a mach do'n phàilliun) agus rinn iad fàidheadoireachd sa' champ.

27 Agus ruidh òganach, agus dh'innis e do Mhaois, agus thubhairt e, *Tha* Eldad agus Medad ri fàidheadoireachd sa' champ.

28 Agus fhreagair Iosua mac Nun, seirbhiseach Mhaois, *aon* d'a òganachaibh, agus thubhairt e, Mo thighearn, a Mhaois, bac iad.

29 Agus thubhairt Maois ris, Am bheil farmad ort air mo shon-sa? Is e mo ghuidhe ri Dia gu'm biodh sluagh an Tighearn uile nam fàidhibh, *agus* gu'n cuireadh an Tighearn a spiorad orra.

30 Agus chaidh Maois do'n champ, e féin agus seanairean Israeil.

31 Agus chaidh gaoth a mach o'n Tighearna, agus thug i gearra-goirt[c] o'n fhairge, agus leig i leo tuiteam làimh ris a' champ, mar astar là air an taobh so, agus mar astar là air an taobh eile, m'an cuairt air a' champ, agus mar dhà làimh-choille *air àirde*, air aghaidh na talmhainn.

32 Agus sheas an sluagh suas air an

là

[a] *ann an cluasaibh.* Eabh. [b] *nach d'rinn ni b'fhaide.* [c] *quails.* Sasg.

là ſin uile, agus air an oidhche *ſin*
uile, agus air an là a b'fhaigſe uile, a-
gus thionail iad na gearra-goirt: eſan
bu lugha a thionail, thionail e deich
homeir, agus ſgaoil iad gu farſaing
doibh féin *iad* mu thimchioll a'
chaimp.

33 'Nuair *a bha* 'n fheoil fathaſt
eadar am fiacla, mun do chagnadh i,
laſadh fearg an Tighearn an aghaidh
an t-ſluaigh, agus bhuail an Tighearn
an ſluagh le plàigh ro-mhòir.

34 Agus thug e Cibrot-hataabhah
mar ainm air an àite ſin; a chionn
ann an ſin gu'n d'adhlaic iad an ſluagh
a mhiannaich.

35 Agus dh'imich an ſluagh o
Chibrot-hataabhah gu Haſerot: agus
dh'fhan iad ann an Haſerot.

C A I B. XII.

AGUS labhair Miriam agus Aaron
an aghaidh Mhaois air ſon na
mnà o Etiopia, a phòs e: oir bha e air
pòſadh mnà o Etiopia.

2 Agus thubhairt iad, An do la-
bhair an Tighearna da rìreadh le
Maois a mhàin? nach do labhair e
mar an ceudna leinne? agus chual' an
Tighearn *e*.

3 (A nis *bha* 'n duine Maois ro-
chiùin[a], thar nan uile dhaoine a *bha*
air aghaidh na talmhainn)

4 Agus labhair an Tighearna gu
grad ri Maois, agus ri h-Aaron, agus
ri Miriam, Thigibh a mach ſibhſe nar
triuir gu pàilliun a' choimhthionail.
Agus thàinig iad nan triuir a mach.

5 Agus thàinig an Tighearna nuas
ann am meall neoil, agus ſheas e ann
an dorus a' phàilliuin, agus ghairm e
air Aaron agus Miriam: agus thàinig
iad le chéile a mach.

6 Agus thubhairt e, Eiſdibh a nis
ri m' bhriathraibh-ſa: Ma tha fàidh
nar meaſg, ni miſe an Tighearna mi
féin aithnichte dha ann an taiſbean-
adh[b], *agus* labhraidh mi ris ann am
bruadar.

7 Cha 'n '*eil* mo ſheirbhiſeach
Maois mar ſin, a *tha* ſirinneach[c] ann
am thigh uile.

8 Beul ri beul labhraidh mi ris-ſan,
eadhon gu ſoilleir, agus cha 'n ann
am briathraibh dorcha, agus coſlas an
Tighearna chi e: c'ar ſon ma ta nach
robh eagal oirbh labhairt an aghaidh
mo ſheirbhiſich Mhaois?

9 Agus las fearg an Tighearna nan
aghaidh, agus dh'fhalbh e.

10 Agus dh'fhalbh an neul bhàrr
a' phàilliuin, agus feuch, *rinneadh* Mi-
riam na lobhar, *geal* mar ſhneachda:
agus dh'amhairc Aaron air Miriam,
agus feuch, *bha i* na lobhar.

11 Agus thubhairt Aaron ri Maois,
Och! mo thighearna, guidheam ort,
na cuir am peacadh as ar leth[d], leis
an d'rinn ſinn gu h-amaideach, agus
leis an do pheacaich ſinn.

12 Na biodh i mar aon marbh,
d'am bheil an ſheoil air a leth-chaith-
eamh, 'nuair a thig e mach a broinn a
mhàthar.

13 Agus ghlaodh Maois ris an
Tighearna, ag ràdh, Leighis i nis, O
Dhé, guidheam ort.

14 Agus thubhairt an Tighearna ri
Maois, Nan tilgeadh a h-athair ach
ſmugaid na h-eudan, nach bu chòir
dh'i bhi fa nàire ſeachd laithean?
druidear a mach o'n champ i rè
ſheachd laithean, agus na dhéigh ſin
gabhar a ſteach i *rìs*.

15 Agus dhruideadh Miriam a
mach o'n champ ſeachd laithean: a-
gus cha do ghabh an ſluagh an turus,
gus an d'thugadh Miriam a ſteach *a*
rìs.

16 Agus na dhéigh ſin dh'imich an
ſluagh o Haſerot, agus champaich iad
ann am fàſach Pharain.

C A I B. XIII.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,

2 Cuir daoine uait, a chum as gu'n
rannſaich iad tìr Chanaain, a bheir
miſe do chloinn Iſraeil; as gach uile
thréibh d'an aithreachaibh cuiridh
ſibh duine, gach aon [illegible] na cheann-
ard nam meaſg.

3 Agus chuir Maois iad o fhàſach
Pharain, a réir àithne an Tighearna:
bu cheannardan na daoine ſin uile air
cloinn Iſraeil.

 4 Agus

[a] *ro-ſhèimh.* [b] *foillſeachadh, taibhſe.* [c] *tairis, dìleas.* [d] *na leig,*
na càirich am peacadh oirnn.

4 Agus *is* iad so an ainmeanna :- Do thréibh Reubein, Samua mac Shacuir.

5 Do thréibh Shimeoin, Saphat mac Hori.

6 Do thréibh Iudaih, Caleb mac Iephuneh.

7 Do thréibh Isachair, Igal mac Ioseiph.

8 Do thréibh Ephraim, Osea mac Nun.

9 Do thréibh Bheniamin, Palti mac Raphu.

10 Do thréibh Shebuluin, Gadiel mac Shodi.

11 Do thréibh Ioseph, eadhon, do thréibh Mhanaseh, Gadi mac Shusi.

12 Do thréibh Dhan, Amiel mac Ghemali.

13 Do thréibh Aseir, Setur mac Mhichael.

14 Do thréibh Naphtali, Nahbi mac Uopsi.

15 Do thréibh Ghad, Geuel mac Mhachi.

16 *Is* iad sin ainmeanna nan daoine a chuir Maois a ghabhail beachd air an fhearann: Agus thug Maois Iehosua mar ainm air Osea mac Nun.

17 Agus chuir Maois iad a ghabhail beachd air talamh Chanaain, agus thubhairt e riu, Rachaibh suas *san t-slighe* so mu dheas, agus gabhaibh suas a cham na beinne:

18 Agus faicibh am fearann ciod e, agus an sluagh a ta nan còmhnuidh ann, am *bheil* iad làidir no anfhann, tearc no lionmhor:

19 Agus ciod e am fearann anns am bheil iad a chòmhnuidh, am *bheil* e math no olc; agus ciod iad na bailte anns *am bheil* iad nan còmhnuidh, an ann am bùthaibh, no ann an daingneachaibh [a] làidir;

20 Agus ciod e an talamh [b], am *bheil* e reamhar no caol [c], am bheil coille ann no nach 'eil. Agus biodh agaibh deagh mhisneach, agus thugaibh leibh do thoradh an fhearainn. (A nis *b'*e 'n t-àm àm nan ceud dhearcafiona abuich.)

21 Mar sin chaidh iad suas, agus rannsaich iad am fearann o fhàsach Shin, gu Rehob, mar a théid daoine gu Hamat.

22 Agus chaidh iad suas mu dheas, agus thàinig iad gu Hebron, far *an robh* Ahiman, Sesai, agus Talmai, mic Anaic. (A nis thogadh Hebron seachd bliadhnan roimh Shoan san Eiphit.)

23 Agus thàinig iad gu iruth [d] Escoil, agus ghearr iad sios as sin geug le aon bhagaide fhion-dhearc, agus ghiùlain iad i eadar dhithis air luirg: agus *thug iad leo* do na pomgranadaibh, agus do na figisibh.

24 Thugadh iruth Escoil mar ainm air an àite sin, air son a' bhagaide fhion-dhearcan a ghearr clann Israeil sios as sin.

25 Agus phill iad o rannsachadh an fhearainn an déigh dhà fhichead là.

26 Agus dh'imich iad, agus thàinig iad gu Maois agus gu *h-Aaron*, agus gu coimhchruinneach chloinn Israeil uile, gu fàsach Pharain, gu Cades; agus thug iad leo fios d'an ionnsuidh, agus a dh'ionnsuidh a' choimhchruinnich uile, agus dh'*fheuch* [e] iad dhoibh toradh na tire.

27 Agus dh'innis iad dha, agus thubhairt iad, Thàinig sinne a dh'ionnsuidh an fhearainn gus an do chuir thu sinn, agus gu deimhin tha e sruthadh le bainne agus mil; agus *is* e so a thoradh.

28 Gidheadh *tha* 'n sluagh làidir a tha nan còmhnuidh san fhearann, agus *tha* na bailte air an cuartachadh le ballaibh, *agus* ro-mhòr: agus os bàrr chunnaic sinn clann Anaic an sin.

29 Tha na h-Amalecich nan còmhnuidh am fearann na h-airde deas: agus *tha* na Hitich agus na Iebusaich, agus na h-Amoraich nan còmhnuidh sna beanntaibh: agus *tha* na Canaanich nan còmhnuidh làimh ris an fhairge, agus ri taobh Iordain.

30 Agus chiùinich [f] Caleb an sluagh an làthair Mhaois, agus thubhairt e, Rachamaid suas a dh'aon fheachd, agus sealbhaicheamaid e; oir is urrainn sinn gu cinnteach a cheannsachadh [g].

31 Ach thubhairt na daoine a chaidh suas maille ris, Cha 'n urrainn sinn

[a] *àitibh daingnichte.* [b] *fonn, fearann.* [c] *truagh; bochd.* [d] *srath, gleann.* [e] *nochd.* [f] *sìthich, chaisg.* [g] *oir gu cinnteach buadhaichidh sinn air.*

sinn dol suas an aghaidh an t-sluaigh,
oir *is* treise iad na sinne.
32 Agus thug iad droch sgeul [a]
air an fhearann a rannsaich iad gu
cloinn Israeil, ag ràdh, Am fearann
tre 'n deachaidh sinne 'ga rannsachadh,
is fearann e a tha 'g itheadh suas a
luchd-àitich, agus an sluagh uile a
chunnaic sinn ann, *is* daoine iad do
mheudachd mhòir [b].
33 Agus chunnaic sinn na famh-
airean [c] an sin, mic Anaic, *a thàinig* o
na famhairean: agus bha sinne 'n ar
sealladh féin mar shionnain-feoir [d], a-
gus bha sinn mar sin nan sealladh-san.

C A I B. XIV.

AGUS thog an coimhchruinneach
uile suas an guth, agus ghlaodh
iad; agus ghuil an sluagh air an oidhche
sin.
2 Agus rinn clann Israeil uile gearan
an aghaidh Mhaois, agus an aghaidh
Aaroin: agus thubhairt an coimh-
chruinneach uile riu, Och nach d'fhuair
sinn bàs ann an tìr na h-Eiphit, no
nach d'fhuair sinn bàs anns an fhàsach
so!
3 Agus c'ar son a thug an Tighear-
na sinn do'n fhearann so, a thuiteam
leis a chlaidheamh, a chum gu'm biodh
ar mnài agus ar clann bheag nan
cobhartaich [e]? nach *b*'fhearr dhuinn
pilleadh do'n Eiphit?
4 Agus thubhairt iad gach fear ri
chéile [f], Deanamaid dhuinn féin ceann-
ard, agus pilleamaid do'n Eiphit.
5 An sin thuit Maois agus Aaron
air an aghaidh an làthair coimh-
thionail coimhchruinnich chloinn Is-
raeil uile.
6 Agus reub Iosua mac Nun, agus
Caleb mac Iephuneh, *a bha* dhiubh-san
a rannsaich am fearann, an eudach.
7 Agus labhair iad ri cuideachd
chloinn Israeil uile, ag ràdh, Am
fearann a chaidh sinne troimhe g'a
rannsachadh, *is* fearann ro-mhath e.
8 Ma tha tlachd aig an Tighearn
annainn, an sin bheir e sinn a dh'ionn-
suidh an fhearainn so, agus bheir e
dhuinn e; fearann a tha sruthadh le
mil agus bainne.
9 A mhàin na deanaibh ceannairc [g]
an aghaidh an Tighearna, agus na
biodh eagal sluaigh an fhearainn oirbh;
oir *is* aran duinn iad: dh'fhalbh an
dion uatha, agus *tha* 'n Tighearna
maille ruinne; na biodh eagal oirbh
rompa.
10 Ach dh'iarr an coimhchruinneach
uile an clachadh le clachaibh: agus
dh'fhoillsicheadh glòir an Tighearna
ann am pàilliun a' choimhthionail, an
làthair chloinn Israeil uile.
11 Agus thubhairt an Tighearna,
ri Maois, Cia fhad a bhrosnaicheas an
sluagh so mi? agus cia fhad a bhitheas
e mun creid iad mi, air son nan co-
mharan uile a nochd [h] mi nam
measg?
12 Buailidh mi iad leis a' phlàigh,
agus fògraidh mi iad [k], agus ni mi
thusa a'd' chinneach a's mò, agus a's
cumhachdaiche na iadsan.
13 Agus thubhairt Maois ris an
Tighearna, An sin cluinnidh na h-Ei-
phitich *e*, (oir thug thusa nìos an sluagh
so le d'chumhachd o bhi nam measg) [l]
14 Agus innsidh iad e do luchd-àit-
eachaidh an fhearainn so; *oir* chual'
iad gu *bheil* thusa, a Thighearn, am
measg an t-sluaigh so; gu *bheil* thusa,
a Thighearn, air t'fhaicinn aghaidh ri
h-aghaidh, agus *gu bheil* do neul a'
seasamh os an ceann, agus *gu bheil* thu
ag imeachd rompa ann am meall neoil
san là, agus ann am meall teine san
oidhche.
15 A nis *ma* mharbhas tu an sluagh
so *uile* mar aon duine, an sin labhraidh
na cinnich a chual' iomradh ort, ag
ràdh,
16 A chionn nach b'urrainn an
Tighearn an sluagh so thoirt do'n
fhearann a mhionnaich e dhoibh, uime
sin mharbh e iad san fhàsach.
17 Agus a nis, guidheam ort, biodh
cumhachd mo Thighearna mòr, a réir
mar a labhair thu, ag ràdh,
18 *Tha* 'n Tighearna fad-fhulan-
gach, agus mòr-thròcaireach, a' toirt
maitheanais

[a] *tuairisgeul.* [b] *daoine garbha, mòr nam pearsa.* [c] *athaich.*
[d] *leumnaich uaine.* [e] *nan creich.* [f] *r'a bhràthair.* Eabh. [g] *ar'a
mach.* [h] *rinn.* Eabh. [k] *arsuntaichidh mi iad, bheir mi an oighreachd
dhiubh.* Eabh. [l] *as meadhon an d'thug thu nìos an sluagh so le d' chumhachd.*

maitheanais ann an aingidheachd, agus *ann an* eusaontas, agus air chor sam bith nach saor [a] *an ciontach*; a' leantuinn aingidheachd nan aithreacha air a' chloinn, air an treas agus air a' cheathramh *ginealach*.

19 Math, guidheam ort, aingidheachd an t-sluaigh so, a réir meud do thròcair, agus a réir mar a thug thu maitheanas do'n t-sluagh so o'n Eiphit gus a nis.

20 Agus thubhairt an Tighearna, Mhath mi a réir t'fhocail:

21 Ach co fhìor 's a ta mi beo, lìonar an talamh uile le glòir an Tighearna.

22 Oir na daoine sin uile a chunnaic mo ghlòir, agus mo chomharan [b] a rinn mi san Eiphit, agus anns an fhàsach, agus a bhuair mi nis na deich uairean so, agus nach d'éisd ri m' ghuth;

23 Gu cinnteach cha'n fhaic iadsan am fearann a mhionnaich mi d'an aithreachaibh, ni mò a chi neach air bith dhiubhsan a bhrosnaich mi e:

24 Ach mo sheirbhiseach Caleb, a chionn gu'n robh aige-san spiorad eile maille ris, agus gu'n do lean e mi gu h-iomlan; esan bheir mi do'n fhearann, d'an deachaidh e: agus sealbhaichidh a shliochd e.

25 (A nis bha na h-Amalecich, agus na Canaanaich nan comhnuidh sa' ghleann.) Am màireach pillibh, agus rachaibh do'n fhàsach, air slighe na mara ruaidhe.

26 Agus labhair an Tighearna ri Maois, agus ri h-Aaron, ag ràdh,

27 Cia fhad *a ghiùlaineas mi* leis an droch choimhchruinneach so a *tha* ri gearan a'm' aghaidh? chuala mi gearain chloinn Israeil, leis *am bheil* iad ri gearan a'm' aghaidh.

28 Abair riu, Co fhìor 's a ta mi beo, ars' an Tighearna, mar a labhair sibh a'm' éisdeachd [c], mar sin ni mi ribh.

29 San fhàsach so tuitidh bhur colanna [d]: agus a' mheud's a chaidh àireamh dhibh a réir bhur n-àireimh iomlain, o fhichead bliadhna dh'aois agus os a cheann, a rinn gearan a'm' aghaidh;

30 Gun amharus sam bith cha d'thig sibh a steach do'n fhearann a mhionnaich mise gu'n d'thugainn oirbh còmhnuidh a ghabhail ann, saor o Chaleb mac Iephuneh, agus Iosua mac Nun.

31 Ach bhur clann bheag, a thubhairt sibh a bhiodh nan cobhartaich, iadsan bheir mi steach, agus gabhaidh iad eolas air an fhearann air an d'rinn sibhse tàir.

32 Agus air bhur son-sa dheth, tuitidh bhur colanna [d] anns an fhàsach so.

33 Agus bithidh bhur clann air seacharan san fhàsach dà fhichead bhliadhna, agus giùlainidh iad bhur striopachais, gus an caithear bhur colanna san fhàsach.

34 A réir àireimh nan laithean anns an do rannsaich sibh am fearann, *eadhon* dà fhichead là, (gach là air son bliadhna) giùlainidh sibh bhur n-eucearta, eadhon dà fhichead bhliadhna, agus bithidh fios agaibh air mo bhriseadh-geallaidh-sa.

35 Thubhairt mise an Tighearn*a*, *agus* gu cinnteach ni mi e do'n choimhchruinneach olc so uile, a chruinnich a'm' aghaidh: anns an fhàsach so claoidhear iad, agus an sin gheibh iad bàs.

36 Agus na daoine a chuir Maois a rannsachadh an fhearainn, a phill, agus a thug air a' choimhchruinneach uile gearan a dheanamh na aghaidh, le droch sgeul [e] a thoirt seachad air an fhearann,

37 Fhuair eadhon na daoine sin a thug seachad droch sgeul air an fhearann, bàs leis a' phlaigh an làthair an Tighearna.

38 Ach mhair Iosua mac Nun, agus Caleb mac Iephuneh, beo do na daoinibh sin a chaidh a rannsachadh an fhearainn.

39 Agus dh'innis Maois na briathra sin do chloinn Israeil uile: agus rinn an sluagh caoidh mhòr.

40 Agus dh'éirich iad gu moch sa' mhaduinn, agus chaidh iad suas [f] gu mullach an t-sléibh, ag ràdh, Feuch, *tha* sinne *an so*, agus théid sinn suas do'n

[a] *glan.* [b] *mo mhìorbhuilean.* [c] *a'm' chluasaibh.* Eabh. [d] *cuirp mhairbh, closaichean.* [e] *tuaileas.* [f] b'àill leo *dol suas.*

do'n àite a gheall an Tighearna: oir pheacaich sinn.

41 Agus thubhairt Maois, C'ar son a nis a tha sibh a' briseadh àithne an Tighearna? ach cha soirbhich *an ni* so libh.

42 Na rachaibh suas, oir *cha 'n'eil* an Tighearna nar measg; a chum as nach buailear sibh an làthair bhur naimhde.

43 Oir *tha* na h-Amalecich agus na Canaanaich an sin romhaibh, agus tuitidh sibh leis a' chlaidheamh, a chionn gu'n do chlaon sibh o'n Tighearna: uime sin cha bhi 'n Tighearna maille ribh.

44 Ach ghabh iad do dhànadas orra dol suas gu mullach an t-sléibh: gidheadh cha deachaidh àirc coimhcheangail an Tighearna, no Maois, a mach as a' champ.

45 An sin thàinig na h-Amalecich a nuas, agus na Canaanaich a bha nan còmhnuidh san t-sliabh sin, agus bhuail siad iad, agus chuir iad an ruaig orra, *eadhon* gu Hormah.

C A I B. XV.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

2 Labhair ri cloinn Israeil, agus abair riu, 'Nuair a thig sibh a chum fearainn bhur n-àiteacha-còmhnuidh, a *tha* mise a' tabhairt dhuibh,

3 Agus a bheir sibh suas tabhartas le teine do'n Tighearna, tabhartas-loisgte no iobairt, gu bòid a choimhlionadh, no mar thabhartas saor-thoile, no nar n-ard fhéillibh [a], a dheanamh fàile cùbhraidh do'n Tighearna, do'n spréidh no do'n treud:

4 An sin bheir esan a bheir seachad a thabhartas do'n Tighearna, seachad tabhartas-bidh do'n deicheamh cuid do phlùr measgta maille ris a' cheathramh *cuid* do hin oladh.

5 Agus bheir thu seachad [b] an ceathramh *cuid* do hin fiona mar thabhartas-dibhe, maille ris an tabhartas-loisgte no'n iobairt, air son aon uain.

6 No air son reithe, bheir thu seachad mar thabhartas-bidh, dà dheicheamh cuid do phlùr measgta leis an treas *cuid* do hin oladh.

7 Agus a chum tabhartais dibhe, bheir thu seachad an treas *cuid* do hin fiona, *chum* fàile cùbhraidh do'n Tighearna.

8 Agus an uair a bheir thu seachad tarbh òg *mar* iobairt loisgte, no *mar* iobairt gu bòid a choimhlionadh, no *mar* iobairt shìth do'n Tighearna;

9 An sin bheirear [c] maille ris an tarbh òg, tabhartas-bìdh do thri deich codaichibh do phlùr measgta le leth hin oladh.

10 Agus bheir thu seachad a chum tabhartais-dibhe leth hin fiona, *chum* tabhartais a bheirear suas le teine dh'fhàile cùbhraidh do'n Tighearna.

11 Mar so nithear air son aon tairbh, no air son aon reithe, no air son uain, no minn.

12 A réir an àireimh a bheir sibh seachad, mar sin ni sibh do gach aon, a réir an àireimh.

13 Gach neach a rugadh san dùthaich, ni e na nithe sin air a' mhodh so, ann an tabhartas a thoirt seachad a bheirear suas le teine dh'fhàile cùbhraidh do'n Tighearna.

14 Agus ma bhios coigreach air chuairt maille ribh, no co air bith e *bhios* nar measg nar ginealachaibh, agus gu'n dthoir e seachad tabhartas a bheirear suas le teine dh'fhàile cùbhraidh do'n Tighearna; mar a ni sibhse, mar sin ni esan.

15 *Bithidh* aon reachd dhuibhse a ta do'n choimhchruinneach, agus mar an ceudna do'n choigreach a ta air chuairt *maille ribh*, reachd sìorruidh nar ginealachaibh: mar *a ta* sibhse, mar sin bithidh an coigreach an làthair an Tighearna.

16 Aon lagh, agus aon mhodh bithidh agaibhse, agus aig a' choigreach a ta air chuairt maille ribh.

17 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

18 Labhair ri cloinn Israeil, agus abair riu, 'Nuair a théid sibh a steach do'n fhearann d'am bheil mise 'gar tabhairt,

19 An sin tarlaidh, 'nuair a dh'itheas sibh a dh'aran an fhearainn, gu'n dthoir

[a] *feisdibh sonruichte.* Eabh.

[b] *ulluichidh tu, ni thu.* Eabh.

[c] *bheir e.*

dthoir sibh suas tabhartas-togta do'n Tighearna.

20 Bheir sibh suas breacag do'n cheud chuid d'ar taois, *mar* thabhartas-togta; mar *a thogas sibh* tabhartas-togta an urlair-bhualaidh, mar sin togaidh sibh i.

21 Do'n cheud chuid d'ar taois bheir sibh do'n Tighearna tabhartas-togta, nar ginealachaibh.

22 Agus ma rinn sibh mearachd, agus nach do ghleidh[a] sibh na h-àitheanta sin uile a labhair an Tighearna ri Maois,

23 *Eadhon* gach *ni* a dh'àithn an Tighearna dhuibh le làimh Mhaois, o'n là sin anns an d'thug an Tighearn àithne do *Mhaois* agus o sin suas air feadh bhur ginealacha:

24 An sin tarlaidh, ma rinneadh *ni sam bith* ann an aineolas gun fhios do'n choimhchruinneach, gu'n dthoir an coimhchruinneach uile seachad aon tarbh òg a chum ìobairt-loisgte, chum fàile cùbhraidh do'n Tighearna, maille r'a thabhartas-bìdh agus a thabhartas-dibhe, a réir a' ghnàtha, agus aon mheann do na gabhraibh chum ìobairt-pheacaidh.

25 Agus ni an sagart réite air son coimhchruinnich chloinn Israeil uile, agus mathar dhoibh *e*, oir *is* aineolas a t'ann: agus bheir iad leo an tabhartas, ìobairt a bheirear suas le teine do'n Tighearna, agus an ìobairt-pheacaidh an làthair an Tighearna, air son an aineolais.

26 Agus mathar e do choimhchruinneach chloinn Israeil uile, agus do'n choigreach a ta air chuairt nam measg; do bhrìgh gu'*n robh* an sluagh uile ann an aineolas.

27 Agus ma pheacaicheas anam sam bith tre aineolas, an sin bheir e leis gabhar do'n cheud bhliadhna chum ìobairt-pheacaidh.

28 Agus ni 'n sagart réite air son an anma a pheacaicheas gu h-aineolach, an uair a pheacaicheas e le h-aineolas an làthair an Tighearna, dheanamh réite air a shon; agus mathar dha e.

29 Bithidh aon lagh agaibh air a shonsan a pheacaicheas tre aineolas, *araon air* a shonsan a rugadh am measg chloinn Israeil, agus air son a' choigrich a ta air chuairt nam measg.

30 Ach an t-anam a ni bheag gu h-andàna[b], (*co dhiubh* a rugadh e san tìr, no 's coigreach e) tha esan a' toirt eas-urraim do'n Tighearna; agus gearrar an t-anam sin as o mheasg a shluaigh.

31 Do bhrìgh gu'n d'rinn e tàir air focal an Tighearna, agus gu'n do bhris e 'àithne; gearrar an t-anam sin as gu tur: *bithidh*, 'aingidheachd air féin.

32 Agus an uair a bha clann Israel san fhàsach, fhuair iad duine a' tional mhaidean[c] air là na sàbaid.

33 Agus thug iadsan a fhuair e tional mhaidean a dh'ionnsuidh Mhaois e, agus a dh'ionnsuidh Aaroin, agus a dh'ionnsuidh a' choimhchruinnich uile.

34 Agus chuir iad an làimh e, a chionn nach d'innseadh ciod bu chòir a dheanamh ris.

35 Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, Cuirear an duine gu cinnteach gu bàs; clachaidh an coimhchruinneach uile e le clachaibh an taobh a muigh do'n champ.

36 Agus thug an coimhchruinneach uile mach è as a' champ, agus chlach iad e le clachaibh, agus fhuair e bàs; mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

37 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

38 Labhair ri cloinn Israeil, agus abair riu, iad a dheanamh fàbhradh[d] dhoibh féin air iomallaibh an eudaich air feadh an ginealach, agus iad a chur air fàbhradh nan iomall iall[e] do ghorm.

39 Agus bithidh e dhuibh mar fhàbhradh; agus amhaircidh sibh air, a chum gu'n cuimhnich sibh uile àitheanta an Tighearna, agus gu'n dean sibh iad; agus nach iarr sibh an déigh bhur cridhe agus bhur sùl féin, nithe 's àbhaist duibh dol nan déigh le h-anmiann[f]:

40 A chum as gu'n cuimhnich, agus gu'n dean sibh m'àitheantan uile

[a] *rinn*. Eabh. [b] *le làimh aird*. Eabh. [c] *frodha, connaidh*. [d] *fringe*. Sasg. [e] *riobainn, snàthainn*. [f] *striopachas*.

uile, agus gu'm bi sibh naomha d'ar
Dia.
41 *Is* mise an Tighearna bhur Dia,
a thug a mach sibh a tír na h-Eiphit,
gu bhi'm Dhia dhuibh: *Is* mise an
Tighearna bhur Dia.

C A I B. XVI.

AGUS ghabh Corah mac Idshair,
mhic Cohait, mhic Lebhi, agus
Datan agus Abiram mic Eliaib, agus
On mac Pheleit, mic Reubein, *daoine*.
2 Agus dh'éirich iad suas an làthair
Mhaois [a], maille ri daoin' àraidh do
chloinn Israeil, dà cheud agus leth-
cheud ceannard do'n choimhthional,
inbheach [b] sa' choimhchruinneach,
daoin' iomraideach [c].
3 Agus chruinnich siad iad féin an
ceann a chéile an aghaidh Mhaois
agus an aghaidh Aaroin, agus thubh-
airt iad riu, *Tha sibh a' gabbail* tuille
's a' choir oirbh féin, do bhrìgh
gu'*m bheil* an coimhchruinneach uile
naomha gach aon diubh, agus *tha* 'n
Tighearna nam measg: c'ar son uime
sin a tha sibh 'gar togail féin suas
os cionn coimhchruinnich an Tigh-
earna?
4 Agus an uair a chuala Maois *e*,
thuit e air 'aghaidh:
5 Agus labhair e ri Corah, agus
r'a chuideachd uile, ag ràdh, Eadhon
am màireach nochdaidh an Tighearna
cò iad *a's* leis, agus *cò a ta* naomha, a-
gus bheir e air teachd am fagus da:
bheir e eadhon air-san a ròghnaich e,
teachd am-fagus da.
6 Deanaibhse so; gabhaibh dhuibh
féin tùisteirean, Corah, agus a chuid-
eachd uile;
7 Agus cuiribh teine annta, agus
cuiribh tùis orra an làthair an Tigh-
earna air an là màireach; agus an
duine sin a ròghnaicheas an Tighearna,
bithidh esan naomha; *tha sibh a' gabbail*
tuille 's a chòir oirbh féin, sibhse a
mhic Lebhi.
8 Agus thubhairt Maois ri Corah,
Eisdibh, guidheam oirbh, sibhse a mhic
Lebhi:
9 An ni beag *e* nar *barail-sa*, gu'n
do sgar Dia Israeil sibh o choimh-
chruinneach Israeil, gu'r toirt am fa-
gus da féin, a dheanamh seirbhis pàil-
liuin an Tighearna, agus a sheasamh
am fianuis a' choimhchruinnich, a
fhrithealadh dhoibh?
10 Agus thug e thus' am fagus *da
féin*, agus do bhràithrean uile mic
Lebhi maille riut: agus am bheil sibh
ag iarraidh na sagartachd mar an
ceudna?
11 Air an aobhar sin *tha* thusa, agus
do chuideachd uile, air bhur cruinn-
eachadh an ceann a chéile an aghaidh
an Tighearna: agus *a thaobh* Aaroin,
ciod e, gu'm bheil sibh ri gearan na
aghaidh-san?
12 Agus chuir Maois *teachdaire
uaith* a ghairm Dhatain agus Abiraim
mhac Eliaib, muinntir a thubhairt,
Cha dthéid sinn suas.
13 An ni beag *e* gu'n d'thug thu
nìos sinn a talamh a tha sruthadh le
bainne agus mil, gu'r marbhadh san
fhàsach, mur dean thu thu féin gu
h-iomlan a'd' uachdaran os ar ceann?
14 A thuilleadh air so, cha d'thug
thu sinn gu fearann a ta sruthadh le
mil agus le bainne, ni mò thug thu
dhuinn oighreachd mhachrach agus
fhionliosan: an cuir thu mach sùilean
nan daoine sin? cha dthéid sinne suas.
15 Agus bha Maois ro-dhiomach,
agus thubhairt e ris an Tighearna,
Na biodh meas agad d'an tabhartas;
cha do ghabh mise aon asal uatha,
ni mò rinn mi cron air a h-aon diubh.
16 Agus thubhairt Maois ri Corah,
Bi thusa agus do chuideachd uile an
làthair an Tighearna, thusa, agus
iadsan, agus Aaron am màireach;
17 Agus gabhaibh gach duine a
thùiseir, agus cuiribh tùis annta, agus
thugaibh an làthair an Tighearna
gach duine a thùiseir, dà cheud agus
leth-cheud tùiseir; thusa mar an
ceudna agus Aaron, gach aon *dhibh* a
thùiseir.
18 Agus ghabh gach duine *dhiubh*
a thùiseir, agus chuir iad teine annta,
agus chuir iad tùis orra, agus sheas iad
ann an dorus pàilliuin a' choimh-
thionail maille ri Maois agus ri h-Aa-
ron.
19 Agus chruinnich Corah an
coimhchruinneach uile nan aghaidh
gu

[a] *an aghaidh Mhaois.* [b] *gairmte.* Eabh. [c] *ainmeil, alloil.*

gu dorus pàilliuin a' choimhthionail:
agus thaisbeineadh glòir an Tighearna
do'n choimhchruinneach uile.
20 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, agus ri h-Aaron, ag ràdh,
21 Sgaraibh sibh féin o mheasg a'
choimhchruinnich so, agus sgriosaidh
mi iad mar ann am priobadh na
sùla [a].
22 Agus thuit iad air an aghaidh,
agus thubhairt iad, O Dhé, Dia spiorad
gach uile fheòla, am peacaich aon
duine, agus am bi fearg agad ris a'
choimhchruinneach uile?
23 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
24 Labhair ris a' choimhchruinn-
each, ag ràdh, Rachaibh suas o
thimchioll pàilliuin Choraih, Dhatain,
agus Abiraim.
25 Agus dh'éirich Maois suas, agus
chaidh e dh'ionntuidh Dhatain agus
Abiraim; agus lean seanairean Is-
raeil e.
26 Agus labhair e ris a' choimh-
chruinneach, ag ràdh, Sgaraibh sibh
féin, guidheam oirbh, o bhùthaibh nan
daoine aingidh ud, agus na beanaibh
ri ni sam bith a 's leo, an t'-eagal
gu'n sgriosar sibh nam peacannaibh
uile.
27 Mar sin chaidh iad suas o phàil-
liun Choraih, Dhatain, agus Abiraim,
air gach taobh: agus thàinig Datan
agus Abiram a mach, agus sheas iad
ann an dorus am bùthan, agus am
mnài, agus am mic, agus an clann
bheag.
28 Agus thubhairt Maois, Le so
bithidh fios agaibh gu'n do chuir an
Tighearna mise a dheanamh nan oibre
sin uile; oir cha *d'rinn mi iad* as mo
cheann féin [b].
29 Ma gheibh na daoine sin bàs
mar na h-uile dhaoin' eile, no ma
dh'fhiosraichear iad a réir fiosrachaidh
nan uile dhaoine; *an sin* cha do chuir
an Tighearn mise *uaith*.
30 Ach ma ni 'n Tighearna gnìomh
nuadh, agus gu'm fosgail an talamh a
bheul, agus gu'n sluig e suas iad maille
ris gach ni a's leo, agus gu'n dthéid
iad sios beò do'n t-slochd; an sin
tuigidh sibh gu'n do bhrosnaich na
daoine sin an Tighearna.
31 Agus tharla 'nuair a sguir e do
labhairt nam briathra sin uile, gu'n do
sgoilt an talamh a *bha* fodha [c] o chéile:
32 Agus dh'fhosgail an talamh a
bheul, agus shluig e suas iad, agus an
tighean, agus na daoin' uile a *bhuin*
do Chorah, agus *am* maoin uile.
33 Chaidh iad féin, agus gach ni
a *bhuin* doibh, beò sios do'n t-slochd,
agus dhruid an talamh orra: agus
chaidh as doibh o mheasg a' choimh-
chruinnich.
34 Agus theich Israel uile a *bha*
m'an timchioll, r'an glaodh; oir
thubhairt iad, An t-eagal gu'n sluig
an talamh sinne suas *mar an ceudna*.
35 Agus thàinig teine a mach o'n
Tighearna, agus loisg e 'n dà cheud
agus an leth-cheud fear a thug seachad
tùis.
36 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
37 Labhair ri h-Eleasar mac Aa-
roin an sagart, e thogail suas nan
tùiseirean a meadhon an losgaidh,
agus sgap thusa an teine an sud; oir
tha iad coisrigte.
38 Tùiseirean nam peacach ud
an aghaidh an anma féin; agus dean-
adh iad dhiubh leachdan leathan *mar*
chòmhdach do'n altair; oir thug iad
seachad iad an làthair an Tighearna;
air an aobhar sin tha iad coisrigte; a-
gus bithidh iad nan comhara do
chloinn Israeil.
39 Agus ghabh Eleasar an sagart
na tùiseirean umha, leis an d'thug
iadsan a chaidh losgadh seachad tabh-
artas; agus rinneadh iad nan *leacbdaibh*
leathan *mar* chòmhdach do'n altair:
40 *Gu bhi* nan cuimhneachan do
chloinn Israeil, air chor as nach dthig
coigreach, nach *'eil* do shliochd Aa-
roin, am fagus a losgadh tùis an làthair
an Tighearna; chum as nach bi e mar
Chorah, agus mar a chuideachd: mar
a thubhairt an Tighearna ris le làimh
Mhaois.
41 Ach air an là màireach, rinn
coimhchruinneach chloinn Israeil uile
gearan an aghaidh Mhaois agus an
aghaidh

[a] *ann am platha.* [b] *o m' chridhe féin.* Eabh. [c] *fodhpa.*

aghaidh Aaroin, ag ràdh, Mharbh
sibh sluagh an Tighearna.
42 Agus tharla 'nuair a chruinnich-
eadh an coimhchruinneach an aghaidh
Mhaois agus an aghaidh Aaroin, gu'n
do sheall iad air pàilliun a' choimh-
thionail, agus feuch, chòmhdaich an
neul e, agus dh'fhoillsicheadh glòir an
Tighearna.
43 Agus thàinig Maois agus Aaron
gu beulaobh pàilliuin a' choimh-
thionail.
44 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
45 Rachaibh suas o mheasg a'
choimhchruinnich so, agus sgriosaidh
mi iad mar ann am priobadh na sùla:
agus thuit iad air an eudannaibh.
46 Agus thubhairt Maois ri h-Aa-
ron, Glac tùiseir, agus cuir teine ann
bhàrr na h-altrach, agus cuir tùis air,
agus imich gu grad a dh'ionnsuidh a'
choimhchruinnich, agus dean réite air
an son; oir chaidh fearg a mach o'n
Tighearna [a]: thòisich a' phlàigh.
47 Agus ghlac Aaron *e*, mar a
dh'àithn Maois, agus ruidh e gu
meadhon a' choimhchruinnich; agus
feuch, bha phlàigh air tòiseachadh am
measg an t-sluaigh: agus chuir e tùis
air, agus rinn e réite air son an
t-sluaigh.
48 Agus sheas e eadar na mairbh
agus na beotha, agus choisgeadh a'
phlàigh.
49 Agus bhàsaich sa' phlàigh ceithir
mìle deug agus seachd ceud, a thuil-
leadh orra-san a bhàsaich an aobhar
Choraih.
50 Agus phill Aaron a dh'ionn-
suidh Mhaois, gu dorus pàilliuin a'
choimhthionail: agus choisgeadh a'
phlàigh.

CAIB. XVII.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
2 Labhair ri cloinn Israeil, agus
gabh slat o gach aon aca, a réir tighe
an aithreacha, o'n ceannardaibh uile,
a réir tighe an aithreacha, dà shlait
deug: sgrìobh ainm gach duine air a
shlait féin.
3 Agus sgrìobhaidh tu ainm Aa-
roin air slait Lebhi: oir *bithidh* aon
slat air son *cinn tighe* an aithreacha.
4 Agus cuiridh tu suas iad ann am
pàilliun a' choimhthionail, an làthair
na fianuis, far an coinnich mis' thu.
5 Agus tarlaidh, *gu'n* dthig slat an
duine a thaghas mise fuidh bhlàth [b];
agus bheir mi air gearain chloinn Is-
raeil sgur uam, leis am bheil iad ri
gearan nar n-aghaidh-sa.
6 Agus labhair Maois ri cloinn Is-
raeil, agus thug gach aon d'an ceann-
ardaibh dha slat am fear, aon air son
gach ceannaird, a réir tighe an aith-
reacha, *eadhon* dà shlait deug: agus
bha slat Aaroin am measg an slat.
7 Agus chuir Maois suas na slatan
an làthair an Tighearn, ann am pàill-
iun na fianuis.
8 Agus air an là màireach chaidh
Maois a steach do phàilliun na fianuis;
agus feuch, bha slat Aaroin, air son
tighe Lebhi, air briseadh a mach, agus
air cur maoth dhuille aisde, agus air
teachd fuidh bhlàth, agus air giùlan
almona.
9 Agus thug Maois a mach na
slatan uile o làthair an Tighearna gu
cloinn Israeil uile; agus dh'amhairc
iad orra, agus ghabh gach duine a
shlat féin.
10 Agus thubhairt an Tighearna
ri Maois, Thoir slat Aaroin a rìs an
làthair na fianuis, gu bhi air a gleidh-
eadh mar chomhara an aghaidh nan
ceannairceach; agus bheir thu air
falbh gu tur an gearain uamsa, chum
as nach bàsaich iad.
11 Agus rinn Maois *mar sin*: mar
a dh'àithn an Tighearna dha, mar sin
rinn e.
12 Agus labhair clann Israeil ri
Maois, ag ràdh, Feuch, tha sinn a'
bàsachadh, théid as duinn, théid as
duinn uile.
13 Ge b'e air bith a thig am fagus
do phàilliun an Tighearna, gheibh e
bàs; an claoidhear sinn le basachadh?

CAIB. XVIII.

AGUS thubhairt an Tighearna ri
h-Aaron, Giùlainidh tusa agus
do

R

[a] *o ghnùis an Tighearna.* Eabh.
a Sach.

[b] *gu'm bris slat an duine a thaghas mise*

do mhic, agus tigh d'athar maille riut, eu-ceart [a] an ionaid naomha; agus giùlainidh tusa agus do mhic maille riut eu-ceart bhur sagartachd.

2 Agus do bhràithre mar an ceudna do thréibh Lebhi, tréibh t'athar, bheir thu leat maille riut, a chum gu'n ceanglar riut iad, agus gu'n fritheil iad dhuit: ach *fritheilidh* tusa agus do mhic maille riut air beulaobh pàilliuin na fianuis.

3 Agus gleidhidh iad do chùramsa, agus cùram a' phàilliuin uile: a mhàin cha dthig iad am fagus do shoithichibh an ionaid naomha agus do'n altair, a chum as nach faigh aon chuid iadsan no sibhse bàs.

4 Agus ceanglar riut iad, agus gleidhidh iad cùram pàilliuin a' choimhthionail, air son uile sheirbhis a' phàilliuin: agus cha dthig coigreach am fagus duibh.

5 Agus gleidhidh sibh cùram an ionaid naomha, agus cùram na h-altarach; a chum as nach bi fearg ni's mò air cloinn Israeil.

6 Agus mise, feuch thug mi bhur bràithre na Lebhithich o mheasg chloinn Israeil: dhuibhse thugadh iad *mar* thabhartas do'n Tighearna, a dheanamh seirbhis pàilliuin a' choimhthionail.

7 Uime-sin gleidhidh tusa, agus do mhic maille riut, bhur sagartachd anns gach ni a *bhuineas* do'n altair, agus an taobh a stigh de'n roinn-bhrat, agus ni sibh seirbhis: thug mi *seilbh* bhur sagartachd, *mar* sheirbhis thabhartais: agus an coigreach a thig am fagus, cuirear gu bàs e.

8 Agus labhair an Tighearna ri h-Aaron, Feuch, thug mi dhuit mar an ceudna cùram mo thabhartasantogta, do uile nithibh coisrigte chloinn Israeil; dhuitse thug mi iad, air son an ungaidh, agus do d' mhic le reachd siorruidh.

9 Bithidh so leatsa do na nithibh ro-naomha, *a ghleidheadh* o'n teine: gach tabhartas leo-san, gach tabhartas-bidh leo, agus gach iobairt-pheacaidh leo, agus gach iobairt-eusaontais leo, a bheir iad dhomhsa, bithidh e ro-naomha dhuitse, agus do d' mhic.

10 San ionad ro-naomha ithidh tu e, ithidh gach firionnach e: bithidh e naomha dhuitse.

11 Agus is leat so; tabhartas-togta an tabhartais, maille ri uile thabhartasan-luaisgte chloinn Israeil: thug mi dhuitse iad, agus do d' mhic, agus do d' nigheanaibh maille riut, le reachd siorruidh: gach neach a tha glan a'd' thigh, ithidh e dheth.

12 [illegible] a' chuid a's feàrr [b] uile d'n oladh agus a' chuid a's feàrr uile do'n fhìon, agus do'n chruithneachd, an ceud thoradh leo-san a bheir iad seachad do'n Tighearna, iad sin thug mi dhuit.

13 Gach ni a's luaithe bhios abaich nam fearann, a bheir iad chum an Tighearna, bithidh e leatsa; gach aon a ta glan a'd' thigh, ithidh e dheth.

14 Gach ni a choisrigear ann an Israel, bithidh e leatsa.

15 Gach ni a dh'fhosglas a' bhrù do gach feoil, a bheir iad a dh'ionnsuidh an Tighearna, *ma 's ann* do dhuine, no dh'ainmhidh, bithidh e leatsa: gidheadh gu cinnteach fuasglaidh tu ceud-ghin duine, agus ceudghin an ainmhidh neo-ghloin fuasglaidh tu.

16 Agus iadsan a dh'fhuasglar, o mhìos a dh'aois fuasglaidh tu *iad* a réir do mheas, air son airgid chùig seceilean, a réir seceil an ionaid naomha: *is* e '*n secel* fichead gerah.

17 Ach ceud-ghin bòtha, no ceudghin caorach, no ceud-ghin gaibhre, cha 'n fhuasgail thu; *tha* iad naomha: crathaidh tu 'm fuil air an altair, agus loisgidh tu 'n saill *mar* thabhartas a bheirear suas le teine chum fàile cùbhraidh do'n Tighearna.

18 Agus bithidh am feoil leatsa, mar a bhitheas an t-uchd luaisgte agus an slinnean deas leat.

19 Uile thabhartasan-togta nan nithe naomha, a bheir clann Israeil seachad do'n Tighearna, thug mi dhuitse, agus do d' mhic, agus do d' nigheanaibh maille riut, le reachd siorruidh: *is* coimhcheangal salainn e gu bràth an làthair an Tighearna, dhuitse agus do d' shliochd maille riut.

20 Agus

[a] *peacanna.* [b] *smior, reamhrachd.* Eabh.

20 Agus labhair an Tighearna ri h-Aaron, Nam ſearann cha bhi oighreachd agad, ni mò bhios roinn agad nam meaſg: *is* miſe do roinn-ſa agus t'oighreachd am meaſg chloinn Iſraeil.

21 Agus feuch, do chloinn Lebhi thug mi an deachamh uile ann an Iſrael mar oighreachd, air ſon an ſeirbhis a ni iad, *eadhon* ſeirbhis pàilliuin a' choimhthionail.

22 Agus cha 'n fheud clann Iſraeil o ſo ſuas teachd am fagus do phàilliun a' choimhthionail, an t-eagal gu'n giùlain iad peacadh, agus gu'n faigh iad bàs.

23 Ach ni na Lebhithich ſeirbhis pàilliuin a' choimhthionail, agus giùlainidh iad an cionta: *bithidh e* na reachd ſiorruidh air feadh bhur ginealacha, nach bi oighreachd ſam bith aca am meaſg chloinn Iſraeil.

24 Ach deachamh chloinn Iſraeil a bheir iad ſeachad *mar* thabhartas-togta do'n Tighearna, thug mi do na Lebhithich mar oighreachd: uime ſin thubhairt mi riu, Am meaſg chloinn Iſraeil cha bhi oighreachd aca.

25 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

26 Mar ſo labhair ris na Lebhithich, agus abair riu, 'Nuair a thogas ſibh o chloinn Iſraeil an deachamh a thug miſe dhuibh uatha mar bhur n-oighreachd, an ſin bheir ſibh ſuas tabhartas-togta dheth do'n Tighearna, *eadhon* an deicheamh *cuid* do'n deachamh.

27 Agus meaſar an tabhartas-togta *so* dhuibh, mar *gu'm b'e* arbhar an urlair-bhualaidh, agus mar làine amarbruthaidh an fhiona.

28 Mar ſo mar an ceudna bheir ſibh ſeachad tabhartas-togta do'n Tighearna, d'ar n-uile dheachamh a thogas ſibh o chloinn Iſraeil: agus bheir ſibh dheth tabhartas-togta an Tighearna do Aaron an ſagart.

29 As bhur n-uile thiodhlaicaibh, bheir ſibh ſeachad uile thabhartastogta an Tighearna do'n chuid a's fearr dheth uile, *eadhon* a' chuid ſin deth a tha coiſrigte.

30 Uime ſin their thu riu, 'Nuair a thogas ſibh ſuas uaith a' chuid a's fearr dheth, an ſin meaſar e do na Lebhithich mar thoradh[a] an urlair-bhualaidh, agus mar thoradh amarbruthaidh an fhiona.

31 Agus ithidh ſibh e anns gach àite, ſibh féin agus bhur teaghlaichean: oir *is e* bhur duais air ſon bhur ſeirbhis ann am pàilliun a' choimhthionail.

32 Agus cha ghiùlain ſibh peacadh ſam bith air a ſhon, an uair a thogas ſibh ſuas as a' chuid a's fearr dheth: ni mò a thruailleas ſibh nithe naomha chloinn Iſraeil, an t-eagal gu'm faigh ſibh bàs.

C A I B. XIX.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, agus ri h-Aaron, ag ràdh,

2 *Is* e ſo ordugh an lagha a dh'àithn an Tighearna, ag ràdh, Labhair ri cloinn Iſraeil, iad a thoirt a'd' ionnſuidh agh ruagh gun ghaoid[b], air nach '*eil* ſmal, *agus* nach robh riamh ſuidh chuing.

3 Agus bheir ſibh i dh'ionnſuidh Eleaſair an t-ſagairt; agus bheirear i[c] 'n taobh a muigh do'n champ, agus marbhar i na ſhianuis.

4 Agus gabhaidh Eleaſar an ſagart *cuid* d'a fuil le 'mheur, agus crathaidh e cuid d'a fuil direach fa chomhair pàilliuin a' choimhthionail ſeachd uairean.

5 Agus loiſgidh *neach* an t-agh na ſhealladh; a ſeiche, agus a feoil, agus a fuil, maille r'a h-aolach, loiſgidh e.

6 Agus gabhaidh an ſagart fiodh ſeudair, agus hioſop, agus ſcarlaid, agus tilgidh e *ſin* am meadhon loſgaidh an aighe.

7 An ſin nighidh an ſagart 'eudach, agus ionnlaididh[d] e 'fheoil ann an uiſge, agus an déigh ſin thig e ſteach do'n champ, agus bithidh an ſagart neo-ghlan gu feaſgar.

8 Agus nighidh eſan a loiſg i 'eudach ann an uiſge, agus ionnlaididh e 'fheoil ann an uiſge, agus bithidh e neo-ghlan gu feaſgar.

9 Agus cruinnichidh duine a ta glan luath an aighe, agus taiſgidh e i

[a] *fhàs, phiſeach.* [b] *fallain.* [c] *bheir e i.* Eabh. [d] *ionnlaidaidh.*

'n taobh a muigh do'n champ ann an àite glan, agus gleidhear i air ſon coimhchruinnich chloinn Iſraeil, mar uiſge dealachaidh; *is glanadh* air ſon peacaidh i.

10 Agus nighidh eſan a thionaileas luath an aighe 'eudach, agus bithidh e neo-ghlan gu feaſgar: agus bithidh e do chloinn Iſraeil, agus do'n choigreach a th'air chuairt nam meaſg, na reachd ſiorruidh.

11 Eſan a bheanas ri corp duine mhairbh ſam bith, bithidh e neo-ghlan ſeachd laithean.

12 Glanaidh ſe e féin leis air an treas là, agus air an t-ſeachdamh là bithidh e glan: ach mur glan ſe e féin air an treas là, an ſin air an t-ſeachdamh là cha bhi e glan.

13 Ge b'e neach a bheanas ri corp duine ſam bith a ta marbh, agus nach glan e féin, tha e truailleadh pàilliuin an Tighearna; agus gearrar an t-anam ſin as o Iſrael: a chionn nach do chrathadh an t uiſge dealachaidh air, bithidh e neo-ghlan; *tha* a neo-ghloine fathaſt air.

14 *Is* e ſo an lagh, an uair a bhàſaicheas duine ann am bùth: Gach neach a thig a ſtigh do'n bhùth, agus gach neach a tha ſa' bhùth, bithidh iad neo-ghlan ſeachd laithean.

15 Agus gach ſoitheach foſgailte aig nach 'eil còmhdach ceangailte air, *tha* e neo-ghlan.

16 Agus ge b'e bheanas ri neach a mharbhadh le claidheamh ſa' mhachair,[a] no ri corp marbh, no ri cnàimh duine, no ri h-uaigh, bithidh e neo-ghlan ſeachd laithean.

17 Agus air ſon an *duine* neo-ghloin gabhaidh iad do luaith an aighe, a loiſgeadh air ſon glanaidh peacaidh, agus cuiridh iad uiſge ruidh oirre ann an ſoitheach;

18 Agus gabhaidh duine glan hioſop, agus tumaidh e ſan uiſge *e*, agus crathaidh e air a' bhùth *e*, agus air na ſoithichibh uile, agus air a' mhuinntir a bha 'n ſin; agus eirſan a bhean ri cnàimh, no ri neach a mharbhadh, no ri aon marbh, no ri h uaigh:

19 Agus crathaidh an *duine* glan air an neo-ghlan air an treas là, agus air an t-ſeachdamh là: agus glanaidh ſe e féin air an t-ſeachdamh là, agus nighidh e 'eudach, agus ionnaidh ſe e féin ann an uiſge, agus bithidh e glan air feaſgar.[b]

20 Ach an duine a bhios neo-ghlan, agus nach glan e féin, gearrar an t-anam ſin as o mheaſg a' choimhchruinnich, a chionn gu 'n do thruaill e ionad naomh an Tighearna: cha do chrathadh uiſge dealachaidh air; *tha* e neo-ghlan.

21 Agus bithidh e na reachd ſiorruidh dhoibh, gu'n nigh eſan a chrathas an t-uiſge dealachaidh 'eudach, agus bithidh eſan a bheanas *ris* an uiſge dealachaidh, neo-ghlan gu feaſgar.

22 Agus ge b'e ni ris am bean an *duine* neo ghlan, bithidh e neo-ghlan: agus an t-anam a bheanas *ris*, bithidh e neo-ghlan gu feaſgar.

C A I B. XX.

AN ſin thàinig clann Iſraeil, *eadhon* an coimhchruinneach uile, gu fàſach Shin, anns a' cheud mhìos: agus dh'fhan[c] an ſluagh ann an Cades; agus fhuair Miriam bàs an ſin, agus dh'adhlaiceadh an ſin i.

2 Agus cha robh uiſge ann do'n choimhthional: agus chruinnich ſiad iad féin an aghaidh Mhaois agus an aghaidh Aaroin.

3 Agus throid an ſluagh ri Maois, agus labhair iad, ag ràdh; B'fhearr gu'm bitheamaid air faghail bàis an uair a bhàſaich ar bràithrean an làthair an Tighearna!

4 Agus c'ar ſon a thug ſibh a nìos coimhchruinneach an Tighearna do'n fhàſach ſo, gu bàs fhaghail an ſin, ſinn féin agus ar ſpréidh?

5 Agus c'ar ſon a thug ſibh oirnne teachd a nìos as an Eiphit, g'ar toirt a ſteach do'n droch àite ſo? cha'n àite ſìl e, no fhìgis, no chrann-fìona, no phomgranata, ni mò *ta* uiſge ann r'a òl.

6 Agus chaidh Maois agus Aaron o làthair a' choimhchruinnich gu dorus pàilliuin a' choimhthionail, agus thuit iad air an aghaidh; agus dh'fhoillſicheadh

[a] *air aghaidh na machrach.* [b] *ſan fheaſgar.* [c] *chòmhnuich.*

dh'fhoillsicheadh glòir an Tighearna dhoibh.

7 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

8 Gabh an t-slat, agus cruinnich thus' an coimhthional an ceann a chéile, thu féin agus Aaron do bhràthair, agus labhraibh ris a' charraig fa chomhair an sùl, agus bheir i seachad a h-uisge; agus bheir thusa mach uisge dhoibh as a' charraig, agus bheir thu deoch do'n choimhthional, agus d'an spréidh.

9 Agus ghabh Maois an t-slat o làthair an Tighearna, mar a dh'àithn e dha.

10 Agus chruinnich Maois agus Aaron an coimhchruinneach an ceann a' chéile fa chomhair na carraige, agus thubhairt e riu, Eisdibh a nis, a luchd-ceannairc; as a' charraig so am feum sinne uisge thoirt duibh?

11 Agus thog Maois suas a làmh, agus bhuail e charraig le 'shlait dà uair: agus thàinig an t-uisge mach gu pailt, agus dh'òl an coimhchruinneach, agus an spréidh.

12 Agus labhair an Tighearna ri Maois agus ri h-Aaron, A chionn nach do chreid sibh mi, chum mo naomhachadh ann an sùilibh chloinn Israeil, uime sin cha dthoir sibh a steach an coimhchruinneach so do'n fhearann a thug mise dhoibh.

13 *Is* e so uisge Mheribah, a chionn gu'n d'rinn clann Israeil stri' ris an Tighearna: agus naomhaicheadh e annta.

14 Agus chuir Maois teachdairean o Chades gu righ Edoim, Mar so tha do bhràthair Israel ag ràdh, Tha fios agad air an t-saothair sin uile a thàinig oirnne;

15 Mar a chaidh ar n-aithreacha sìos do'n Eiphit, agus a ghabh sinn còmhnuidh san Eiphit aimsir fhada[a]; agus bhuin na h-Eiphitich gu h-olc ruinne, agus r'ar n-aithreachaibh.

16 Agus an uair a ghlaodh sinn ris an Tighearna, chual' e ar guth, agus chuir e aingeal uaith, agus thug e mach sinn as an Eiphit: agus feuch, *tha* sinn ann an Cades, baile sa' chuid a's iomallaiche do d' chrìch.

17 Leig leinn, guidheam ort, dol tre d' dhùthaich: cha dthéid sinn tre achadh sam bith, no tre fhìon-lios, ni mò dh'òlas sinn uisge nan tobar: imichidh sinn air rathad *mòr* an righ, cha tionndaidh sinn a dh'ionnsuidh na làimhe deise, no na làimhe clìthe, gus an dthéid sinn seach do chrìochan.

18 Agus thubhairt Edom ris, Cha dthéid thu seachad orm[b], an t-eagal leis a' chlaidheamh gu'n dthig mi mach a't' aghaidh.

19 Agus thubhairt clann Israeil ris, Imichidh sinn air an rathad mhòr: agus ma dh'òlas mi féin agus mo spréidh do d' uisge, bheir mi luach air a shon: a mhàin gun tuille *dheanamh*, théid mi troimhe do m' chois.

20 Agus thubhairt e, Cha dthéid thu troimhe. Agus thàinig Edom a mach na aghaidh le mòr shluagh, agus le làimh thréin.

21 Mar so dhiùlt Edom do Israel comas dol troimh a chrìch: uime sin thionndaidh Israel uaith.

22 Agus ghabh clann Israeil, *eadhon* an coimhchruinneach uile, an turus o Chades, agus thàinig iad gu sliabh Hor.

23 Agus labhair an Tighearna ri Maois agus ri h-Aaron ann an sliabh Hor, làimh ri crìch fearainn Edoim, ag ràdh,

24 Cruinnichear Aaron a chum a shluaigh: oir cha dthéid e steach do'n fhearann a thug mise do chloinn Israeil, a chionn gu'n *robh* sibh ceannairceach an aghaidh m'fhocail-sa aig uisge Mheribah.

25 Gabh Aaron agus Eleasar a mhac, agus thoir suas iad gu sliabh Hor:

26 Agus buin 'eudach do Aaron, agus cuir air a mhac Eleasar e: agus cruinnichear Aaron a *chum a mhuinntir*, agus gheibh e bàs an sin.

27 Agus rinn Maois mar a dh'àithn an Tighearna: agus chaidh iad suas gu sliabh Hor, ann an sealladh a' choimhchruinnich uile.

28 Agus bhuin Maois 'eudach do Aaron, agus chuir e air Eleasar a mhac e; agus fhuair Aaron bàs an

[a] *iomadh là.* Eabh.

[b] *troimh m'* chrìch.

ſin air mullach an t-ſleibh; a[illegible]
thàinig Maois agus Eleaſar a nuas [illegible]
t-ſliabh.
29 Agus an uair a chunnaic an
coimhchruinneach uile gu'n d'fhuair
Aaron bàs, rinn iad bròn air ſon
Aaroin deich laithean 'ar fhichead,
eadhon tigh Iſraeil uile.

CAIB. XXI.

AGUS *an uair* a chuala righ Arad
an Canaanach, a bha chomh-
nuidh ſan airde deas, gu'n d'thàinig
Iſrael air ſlighe an luchd-brathaidh;
an ſin chog e 'n aghaidh Iſraeil, agus
rinn e *cuid* diubh nan ciomaich[a].
2 Agus bhòidich Iſrael boid[b] do'n
Tighearna, agus thubhairt iad, Ma
bheir thu da rireadh an ſluagh ſo
thairis d'ar làimh, an ſin ſgrioſaidh
ſinn gu tur am bailtean[c].
3 Agus dh'éiſd an Tighearna ri
guth Iſraeil, agus thug e na Canaan-
aich ſuas *doibh*: agus ſgrios iad gu tur
iad agus am bailtean: agus thug iad
Horma mar ainm air an àite.
4 Agus ghabh iad an turus o
ſhliabh Hor, air ſlighe na mara
ruaidhe, a dhol m'an cuairt air tìr E-
doim; agus bha anam an t-ſluaigh
fuidh mhi mhiſnich ſan t-ſlighe[d].
5 Agus labhair an ſluagh an agh-
aidh Dhé, agus an aghaidh Mhaois,
C'ar ſon a thug ſibh a nìos ſinn as an
Eiphit, gu bàs fhaghail ſan fhàſach?
oir cha '*n 'eil* aran, no uiſge *ann*, agus
tha ar n-anam a' gabhail gràin do'n
aran eutrom ſo.
6 Agus chuir an Tighearna nath-
raichean loiſgeach[e] am meaſg an
t-ſluaigh; agus lot[f] iad an ſluagh, a-
gus fhuair mòr-ſhluagh do Iſrael bàs.
7 Uime ſin thàinig an ſluagh a
dh'ionnſuidh Mhaois, agus thubhairt
iad, Pheacaich ſinn, oir labhair ſinn
an aghaidh an Tighearna, agus a't'
aghaidh-ſe; guidh air an Tighearna
gu'n d'thoir e air falbh uainn na
nathraiche; agus ghuidh Maois air
ſon an t-ſluaigh.
8 Agus thubhairt an Tighearna ri
Maois, Dean dhuit féin nathair loiſg-
each, agus cuir i air crann: agus tar-
laidh, gach neach a lotar, [illegible]
[illegible] air, gu mair e beo.
9 Agus rinn Maois nathair [illegible]
agus chuir e air crann i: agus [illegible]
ſaidh, ma lot nathair duine ſam bith,
agus gu'n d'amhairc e air an nathair
[illegible], gu'n d'fhan e beo.
10 Agus chaidh clann Iſrail air an
aghaidh, agus champaich iad ann an
Oboth.
11 Agus ghabh iad an turu o
Oboth, agus champaich iad aig Iie-
abarim ſan fhàſach a *ta* fa chomhair
Mhoaib, leth ri eirigh na gréine.
12 Uaith ſin dh'imich iad, agus
champaich iad ann an gleann Shareid.
13 O ſin dh'imich iad, agus champ-
aich iad air an taobh eile do Arnon, a
ta ſan fhàſach a tha teachd a mach a
crìochaibh nan Amorach: oir *is* e
Arnon crioch Mhoaib, eadar Moab
agus na h-Amoraich.
14 Uime ſin innſear ann an leabhar
coganna an Tighearna, Ciod a rinn
e[g] ſa' mhuir ruaidh, agus ann an
ſruthaibh Arnoin;
15 Agus aig ruidh nan ſruth a tha
dol ſìos gu àite-còmhnuidh Ar, agus
a' luidhe air crìch Mhoaib.
16 Agus o ſin *chaidh iad* gu Beer:
is e ſin an tobar m'an do labhair an
Tighearna ri Maois, Cruinnich an
ſluagh r'a chéile, agus bheir miſe uiſge
dhoibh.
17 An ſin chan[h] Iſrael an laoidh
ſo, Sruth a nìos, o thobair, canaibhſe
dha:
18 Chladhaich na h-uchdarain an
tobar, chladhaich uaiſlean an t-ſluaigh
e, le *ſeòladh* fhir tabhairt an lagha, le
'n lorgaibh. Agus o'n fhàſach *chaidh
iad* gu Matana:
19 Agus o Mhatana gu Nahaliel:
agus o Nahaliel gu Bamot:
20 Agus o Bhamot ſa' ghleann a
ta ann an dùthaich Mhoaib, gu mull-
ach Phiſgaih, a ta 'g amharc ri Ieſi-
mon.
21 Agus chuir Iſrael teachdairean
gu Sihon righ nan Amorach, ag ràdh,
22 Leig dhomh dol tre d'fhearann;
cha tionndaidh ſinn a dh'ionnſuidh
raoin no dh'ionnſuidh fìon-lios ſam
bith

[a] *prìoſunaich.* [b] *mòid.* [c] *an cathraichean.* [d] *air ſon na ſlighe.* [e] *nathraiche teine.* [f] *theum.* [g] *Vaheb.* Eabh. [h] *ſhe[illegible]*

...[a]; cha'n òl finn uifgeachan an to-...: rathad an righ gabhaidh finn, ... an dthéid finn feachad air do ...rich.

23 Agus cha leigeadh Sihon le Ifrael dol troimh a chrich: agus chruinnich Sihon a fhluagh uile r'a chéile, agus chaidh e mach an aghaidh Ifraeil do'n fhàfach: agus thàinig e gu Iahas, agus chog e 'n aghaidh Ifraeil.

24 Agus bhuail Ifrael e le faobhar a' chlaidheimh, agus ghabh e fealbh air 'fhearann o Arnon gu Iaboc, *eadhon* gu cloinn Amoin: oir *bha* crioch chloinn Amoin làidir.

25 Agus ghlac Ifrael na bailte mòra[b] fin uile: agus ghabh Ifrael còmhnuidh ann am bailtibh mòra nan Amorach uile ann an Hefbon, agus na bhailtibh beaga uile:

26 Oir b'e Hefbon baile mòr Shihoin righ nan Amorach, a chog an aghaidh righ Mhoaib a bh'ann roimhe fin, agus a bhuin 'fhearann uile as a làimh, eadhon gu h-Arnon.

27 Uime fin their iadfan, a labhras ann an gnàth-fhoclaibh, Thigibh do Hefbon; biodh baile mòr Shihoin air a thogail agus air a dheafachadh:

28 Oir chaidh teine mach a Hefbon, lafair o bhaile mòr Shihoin; loifg e Ar Mhoaib, *agus* tighearnan ionadan arda Arnoin.

29 Mo thruaigh thu, a Mhoaib! thàinig fgrios ort, O fhluagh Chemois! thug e 'mhic a chaidh as, agus a nigheanan am braigh-deanas[c] do Shihon righ nan Amorach.

30 Thilg finn faighdean orra; chaidh as do Hefbon eadhon gu Dibon, agus dh'fhàfaich finn *iad* eadhon gu Nopha, a *tha ruigheachd* gu Medeba.

31 Mar fo ghabh Ifrael còmhnuidh ann am fearann nan Amorach.

32 Agus chuir Maois *daoine* uaith a ghabhail beachd air Iafer, agus ghlac iad a bhailte, agus dh'fhògair iad a mach na h-Amoraich a *bha* 'n fin.

33 Agus phill iad agus chaidh iad fuas air flighe Bhafain: agus chaidh Og righ Bhafain a mach nan aghaidh, e féin, agus a fhluagh uile, gu cath aig Edrei.

34 Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, Na gabh eagal roimhe; oir do d' làimh-fa thug mi thairis e féin, agus a fhluagh uile, agus 'fhearann: agus ni thu air mar a rinn thu air Sihon righ nan Amorach, a *bha* chòmhnuidh aig Hefbon.

35 Mar fin bhuail iad e féin agus a mhic, agus a fhluagh uile, gus nach d'fhàgadh aon beo aige: agus ghabh iad fealbh air 'fhearann.

C A I B. XXII.

AGUS chaidh clann Ifraeil air an aghaidh, agus champaich iad ann an còmhnardaibh Mhoaib, air an taobh fo do Iordan làimh ri Iericho.

2 Agus chunnaic Balac mac Shipoir gach ni a rinn Ifrael air na h-Amoraich.

3 Agus bha eagal ro-mhòr air Moab roimh 'n t-fluagh, a chionn gu'*n r obh* iad lionmhor: agus bha Moab ann an teinn a thaobh chloinn Ifraeil.

4 Agus thubhairt Moab ri feanairibh Mhidiain, A nis imlichidh a' chuideachd[d] fo fuas gach ni *a ta* m'ar timchioll, mar a dh'imlicheas an damh fuas feur na machrach. Agus *bha* Balac mac Shipoir na righ air na Moabaich fan àm fin.

5 Chuir e teachdairean uime fin gu Balaam mac Bheoir, gu Petor, a ta làimh ri abhainn dùthcha cloinne a fhluaigh, g'a ghairm, ag ràdh, Feuch, tha fluagh air teachd a mach as an Eiphit: feuch, tha iad a' còmhdachadh aghaidh[e] na talmhainn, agus tha iad nan còmhnuidh thall fa m' chomhair.

6 Thig a nis uime fin, guidheam ort, mallaich dhomhs' an fluagh fo, oir *tha* iad tuille 's cumhachdach air mo fhon: theagamh gur urrainn mi am bualadh, agus gu'm fuadaich mi iad a mach as an dùthaich; oir tha fios

[a] *chum nam machairean no chum nam fìon-ghàradh.* [b] *cathraiche.* [c] *ann an daorfadh, nan ciomaich.* [d] *an coimhchruinneach.* [e] *fùil.* Eabh,

fios agam gu'm bheil esan a bheann-
aicheas tusa, beannaichte, agus esan a
mhallaicheas tu, mallaichte.
7 Agus dh'imich seanairean Mhoa-
aib agus seanairean Mhidiain, le duais
na druidheachd [a] nan làimh; agus
thàinig iad gu Balaam, agus dh'innis
iad dha briathra Bhalaic.
8 Agus thubhairt e riu, Fanaibh
so an nochd, agus bheir mi fios
duibh a rìs a réir mar a labhras an
Tighearna rium: agus dh'fhan ceann-
ardan Mhoaib maille ri Balaam.
9 Agus thàinig an Tighearna gu
Balaam, agus thubhairt e, Cò iad na
daoine so maille riut?
10 Agus thubhairt Balaam ri Dia,
Chuir Balac mac Shipoir, righ Mho-
aib, *teachdaire* a'm' ionnsuidh, ag
ràdh,
11 Feuch, *tha* sluagh air teachd a
mach as an Eiphit, a ta còmhdach-
adh aghaidh na talmhainn: Thig a
nis, mallaich dhomh iad; theagamh
gur urrainn mi buaidh thoirt orra, a-
gus gu'm fuadaich mi mach iad.
12 Agus thubhairt Dia ri Balaam,
Cha dthéid thu maille riu, cha mhall-
aich thu 'n sluagh; oir *tha* iad beann-
aichte.
13 Agus dh'éirich Balaam sa'
mhaduinn, agus thubhairt e ri ceann-
ardaibh Bhalaic, Imichibh d'ar dùth-
aich féin; oir tha 'n Tighearna diùlt-
adh cead a thoirt domhsa dol maille
ribh.
14 Agus dh'éirich ceannardan
Mhoaib suas, agus chaidh iad a
dh'ionnsuidh Bhalaic, agus thubhairt
iad, Tha Balaam a' diùltadh teachd
maille ruinn.
15 Agus chuir Balac uaith a rìs
ceannardan bu lionmhoire [c], agus a
b'urramaiche na iadsan.
16 Agus thàinig iad gu Balaam,
agus thubhairt iad ris, Mar so tha
Balac, mac Shipoir, ag ràdh, Na bac-
adh ni sam bith thu, guidheam ort, o
theachd a'm' ionnsuidh:
17 Oir ardaichidh mi thu gu h-in-
bhe ro-mhòir, agus ge b'e ni a their
thu rium, ni mi e: Thig uime sin,
guidheam ort, mallaich dhomh an
sluagh so.
18 Agus fhreagair Balaam, agus
thubhairt e ri seirbhisich Bhalaic, Ge
do bheireadh Balac dhomhsa a thigh
làn airgid agus òir, cha
'n fheudainn dol thar focal an Tigh-
earna mo Dhé, a dheanamh beag no
mhòr.
19 A nis uime sin fanaibh-se an so
mar an ceudna an so an
nochd, a chum as gu'm bi fios agam
ciod tuilleadh a their an Tighearna
rium.
20 Agus thàinig Dia dh'ionnsuidh
Bhalaam san oidhche, agus thubhairt
e ris, Ma thig [d] na daoine gu d'
ghairm, eirich suas, agus imich maille
riu; gidheadh am focal a theirim
riut, sin ni thu.
21 Agus dh'éirich Balaam suas sa'
mhaduinn, agus chuir e diollaid air
'asal, agus chaidh e maille ri ceannard-
aibh Mhoaib.
22 Agus las corruich Dhé, a chionn
gu'n d'imich e: agus sheas aingeal an
Tighearna san t-slighe mar eas-car-
aid [e] na aghaidh: a nis bha e marc-
achd air 'asal féin, agus a dhà òglach
maille ris.
23 Agus chunnaic an asal aingeal
an Tighearna na sheasamh san t-slighe,
agus a chlaidheamh tairngte na làimh:
agus thionndaidh an asal a leth-taobh
as an t-slighe agus chaidh i air feadh
an fhearainn: agus bhuail Balaam an
asal g'a tionndadh dh'ionnsuidh na
slighe.
24 Agus sheas aingeal an Tighearn
ann an cos-cheum nam fion-lios: *bha*
balladh air an taobh so, agus balladh
air an taobh ud.
25 Agus an uair a chunnaic an asal
aingeal an Tighearna, theannaich si i
féin ris a' bhalla, agus bhrùth i cos
Bhalaaim ris a' bhalla: agus bhuail e
rìs i.
26 Agus a rìs chaidh aingeal an
Tighearna seachad, agus sheas e ann
an àite cumhann, far nach *robh* slighe
gu tionndadh aon chuid a chum na
làimhe deise no clìthe.

27 Agus

[a] *fiosachd.* [b] *freagradh.* [c] *mai'bean bu listha.* [d] *thàinig.* [e] *gu cur na aghaidh.*

27 Agus an uair a chunnaic an aſal
aingeal an Tighearna, luidh [a] i ſios
fuidh Bhalaam: agus las corruich
Bhalaaim, agus bhuail e 'n aſal le
batadh.
28 Agus dh'fhoſgail an Tighearna
beul na h-aſail, agus thubhairt i ri
Balaam, Ciod a rinn miſe ort, gu'n
do bhuail thu mi na tri uairean ſo?
29 Agus th[illegible]rt Balaam ris an
aſal, A chionn gu'n d'rinn thu fan-
aid orm; b'fhearr leam gu'm biodh
claidheamh a'm' làimh, oir a nis
mharbhainn thu.
30 Agus thubhairt an aſal ri Ba-
laam, Nach miſe t'aſal féin, air an do
mharcaich thu riamh o bu leat *mi*,
gus an là 'n diugh? am b'àbhaiſt
domh riamh a dheanamh mar ſo riut?
Agus thubhairt e, Cha *b'àbhaiſt*.
31 An ſin dh'fhoſgail an Tigh-
earna ſùilean Bhalaaim, agus chunn-
aic e aingeal an Tighearna na ſheaſ-
amh ſan t-ſlighe, agus a chlaidheamh
tairngte na làimh: agus chrom e ſios
a cheann, agus thuit e ſios air 'agh-
aidh.
32 Agus thubhairt aingeal an
Tighearna ris, C'ar ſon a bhuail thu
t'aſal na tri uairean ſo? Feuch, chaidh
mi mach gu bhi m' eas-caraid duit, a
chionn gu'm bheil *do* ſhlighe fiar a'm'
fhianuis.
33 Agus chunnaic an aſal mi, agus
thionndaidh i uam na tri uairean ſo:
mur bitheadh i air tionndadh uam,
gu cinnteach bha mi nis eadhon air
do mharbhadh-ſa, agus air a gleidh-
eadh-ſa beo.
34 Agus thubhairt Balaam ri ain-
geal an Tighearna, Pheacaich mi;
oir cha robh fios agam gu'n do ſheas
thu ſan t-ſlighe a'm' aghaidh: a nis
uime ſin ma's mi-thaitneach leat e [b],
pillidh mi air m'ais a ris.
35 Agus thubhairt aingeal an
Tighearna ri Balaam, Imich leis na
daoinibh: ach a mhàin am focal a
labhras miſe riut, ſin labhraidh tuſa:
[illegible]idh Balaam le ceannard-
[illegible].
[illegible] an uair a chuala Balac
[illegible]ig Balaam, chaidh e mach
[illegible]mh gu baile do Mhoab, a
ta làimh ri coimhchrich Arnoin, a *tha*
ſa' chrìch a's faide mach.
37 Agus thubhairt Balac ri Ba-
laam, Nach *do* chuir miſe gu cinnt-
each fios a t'ionnſuidh g'ad ghairm?
C'ar ſon nach d'thàinig thu m'ionn-
ſuidh? Nach 'eil miſe gu deimhin co-
maſach air d'ardachadh gu h-inbhe?
38 Agus thubhairt Balaam ri Ba-
lac, Feuch, tha mi air teachd a
t'ionnſuidh: am bheil agam a nis
cumhachd idir ni ſam bith a ràdh?
Am focal a chuireas Dia a'm' bheul,
ſin labhraidh mi.
39 Agus chaidh Balaam maille ri
Balac, agus thàinig iad gu Ciriat-hu-
ſot.
40 Agus dh'iobair Balac daimh a-
gus caoraich, agus chuir e fios a
dh'ionnſuidh Bhalaaim, agus a
dh'ionnſuidh nan ceannard a *bha*
maille ris.
41 Agus air an là màireach, ghabh
Balac Balaam, agus thug e ſuas e gu
àitibh arda Bhaail, a chum as gu
faiceadh e o ſin a' *chuid* a b'iomall-
aiche do'n t-ſluagh.

C A I B. XXIII.

AGUS thubhairt Balaam ri Balac,
Tog dhomh an ſo ſeachd altair-
ean, agus ulluich dhomh an ſo ſeachd
tairbh òga agus ſeachd reitheachan.
2 Agus rinn Balac mar a thubhairt
Balaam; agus dh'iobair Balac agus
Balaam air *gach* altair tarbh òg agus
reithe.
3 Agus thubhairt Balaam ri Balac,
Seas làimh ri d'iobairt-loiſgte, agus
imichidh miſe; theagamh gu'n dthig
an Tighearn a'm' choinneamh: agus
ge b'e ni a nochdas [c] e dhomh, inn-
ſidh mi dhuit: Agus chaidh e gu
h-ionad ard.
4 Agus choinnich Dia Balaam, a-
gus thubhairt *Balaam* ris, Dheaſaich
mi ſeachd altairean, agus dh'iobair
mi air *gach* altair tarbh òg agus
reithe.
5 Agus chuir an Tighearna focal
ann am beul Bhalaaim, agus thubhairt
e, Pill a dh'ionnſuidh Bhalaic, agus
mar ſo labhraidh tu.
6 Agus phill e d'a ionnſuidh, agus
feuch,

[a] [illegible]t. [b] *ma's olc ann do ſùilibh e.* Eabh. [c] *dh'fheillſicheas.*

feuch, sheas e làimh r'a iobairt-loisgte, e féin, agus ceannardan Mhoaib uile.

7 Agus thog e suas a chosamh-lachd[a], agus thubhairt e, Thug Ba-lac righ Mhoaib mise a h-Aram, o bheanntaibh na h-aird' an ear, ag radh, Thig, mallaich dhomhsa Iacob, agus thig, thoir dùbhlan do Israel[b].

8 Cionnus a mhallaicheas mi [illegible] nach do mhallaich Dia? agus [illegible] a bheir mi dùbhlan *dha-san* d[illegible] d'thug an Tighearna dùbhlan?

9 Oir o mhullach nan cre[illegible] mi 'ga fhaicinn, agus o na sléib[illegible] tha mi 'g amharc air: feuch [illegible]aidh an sluagh còmhnuidh air le[illegible]gus cha mheasar iad am measg [illegible] cinneach.

10 Cò dh'àirmheas duslach Iacoib, no àireamh na ceathramh *cuid* do Is-rael? Faigheam-sa bàs an ionracain[c], agus bitheadh mo chrioch dheireann-ach cosmhuil r'a *chrìch*-san!

11 Agus thubhairt Balac ri Ba-laam, Ciod e so a rinn thu orm? a mhallachadh mo naimhdean thug mi thu, agus feuch, da riread h bheann-aich thu *iad*[d].

12 Agus fhreagair agus thubhairt e, An ni sin a chuir an Tighearn a'm' bheul, nach feum mis' an aire thoirt a labhairt?

13 Agus thubhairt Balac ris, Thig, guidheam ort, maille rium gu h-àit' eile, o'm faic thu iad: cha 'n fhaic thu ach a' chuid a's iomallaiche dhiubh, agus cha'n fhaic thu iad uile, agus mallaich dhomh as a sin iad.

14 Agus thug e gu fearann Sho-phim e, gu mullach Phisgaih[e], agus thog e seachd altairean, agus dh'iobair e tarbh òg agus reithe air *gach* al-tair.

15 Agus thubhairt e ri Balac, Seas an so làimh ri d'iobairt-loisgte, gus an coinnich mis' *an Tighearn* an sud.

16 Agus choinnich an Tighearna Balaam, agus chuir e focal na bheul, agus thubhairt e, Imich a ris a dh'ionnsuidh Bhalaic, agus abair mar so.

17 Agus an uair a thàinig e d'a ionnsuidh, feuch, [illegible] e laimh r'a iobairt-loisgte, agus ceannardan [illegible] ann maille ris. Agus thubhairt [illegible] ris, C[illegible] a labhair an Tighearn?

18 [illegible] thug e [illegible] [illegible], agus thubhairt [illegible] [illegible] Bhalaic, agus [illegible] [illegible] mhic Shipoir:

19 [illegible] Dia, gu[illegible] [illegible]eanadh [illegible] gabhadh [illegible] an [illegible]t e, agus nach dean e? agus an [illegible] labhair e, agus nach coimhlion[illegible]

20 Feuch, fhuair mi *àithne* beann-achadh: agus bheannaich esan, agus cha [illegible] mise 'atharrachadh.

21 [illegible] thug e fa'near eucear ann an Iacob, agus cha 'n fhac' e ceal[g] ann an Israel: *tha* 'n Tighearn [a] Dhia leis, agus caithream righ nan measg.

22 Thug Dia mach iad as an E[i]phit; tha aige amhuil neart an aon adharcaich[f].

23 Gu cinnteach cha '*n 'eil* druidh eachd an aghaidh Iacoib, ni mò *t*[illegible] fiosachd an aghaidh Israeil: a réir na h-aimsir so theirear mu Iacob, agus mu Israel, Ciod a dh'oibrich Dia?

24 Feuch, éiridh an sluagh suas mar leòmhan mòr, agus mar leòmhan òg togaidh e suas e féin: cha luidh e sios gus an ith e chreach, agus gus an òl e fuil nam marbh.

25 Agus thubhairt Balac ri Ba-laam, Na dean aon chuid am mall-achadh idir, no'm beannachadh idir.

26 Ach fhreagair Balaam agus thubhairt e ri Balac, Nach d'innis mi dhuit, ag ràdh, Gach ni a labhras an Tighearn, sin is éigin domhs' a dhean-amh?

27 Agus thubhairt Balac ri Ba-laam, Thig, guidheam ort, bheir mi thu gu h-ionad eile; theagamh gu toil le Dia[g] thu 'g am mallachadh dhomh as a sin.

28 Agus thug Balac Balaam gu mullach Pheoir, a tha 'g amharc [ri] Iesimon.

29 Agus thubhairt Balaam ri Ba-lac, Tog dhomh an so seachd altair-ea[n]

[a] *parable.* Sasg. [b] *càin Israel.* Eabh. [c] *nan ionracan.* Eabh. [d] *beannachadh bheannaich thu* iad. Eabh. [e] *heinne.* [f] *reem.* Eabh. *unicorn.* Sasg. [g] *gu'm bi e ceart ann an sùilibh Dhé.* Eabh.

[illegible]n, agus ulluich dhomh an ſo ſeachd tairbh ìga, agus ſeachd reitheachan.

30 Agus rinn Balac mar a thubhairt Balaam, agus dh'ìobair e tarbh agus reithe air *gach* altair.

C A I B. XXIV.

AGUS an uair a chunnaic Balaam gu'm bu toil leis an Tighearn Iſrael a [illegible]nachadh, cha deachaidh e mar air uairibh eile a dh'iarraidh manaidhean [a], ach chuir e 'aghaidh ris an fhàſach.

2 Agus thog Balaam ſuas a ſhùilean, agus chunnaic e Iſrael a' fantuinn *nam bùthaibh* a réir an treubhan, agus thàinig ſpiorad Dhé air.

3 Agus thog e ſuas a chòſamhlachd, agus thubhairt e, Thubhairt Balaam mac Bheoir, agus thubhairt an duine aig an robh a ſhùile dùinte;

4 Thubhairt eſan, a chuala briathra Dhé, a chunnaic taiſbeanadh [b] an Uile-chumhachdaich, a' tuiteam agus a ſhùilean air am foſgladh [c]:

5 Cia àluinn do bhùthan, O Iacob; do phàilliuna, O Iſrael!

6 Mar na gleannta tha iad ſìnnte mach, mar lioſan [d] ri taobh aibhne, mar chraobha fiodh-alois [e] a ſhuidhich an Tighearna, mar chraobha ſeudair làimh ris na h-uiſgeachaibh.

7 Sruthaidh an t-uiſge mach as a ſhoithichibh, agus *bithidh* a ſhliochd ann am moran uiſgeacha, agus bithidh a righ ni's airde na Agag, agus ardaichear a rìoghachd.

8 Thug Dia mach as an Eiphit e, tha aige amhuil neart an aon-adharcaich: ithidh e ſuas na cinnich a naimhdean, agus briſidh e 'n cnàmhan, agus le 'ſhaighdibh troimhlotaidh ſe iad.

9 Chrùb e, luidh e ſìos mar leòmhan, agus mar leòmhan mòr; cò dhùiſgeas ſuas e? *Is* beannaichte gach neach a bheannaicheas thuſa, agus *is* mallaichte gach neach a mhallaicheas thu.

10 Agus las corruich Bhalaic an aghaidh Bhalaaim, agus bhuail e 'bhaſan air a chéile: agus thubhairt Balac ri Balaam, A mhallachadh mo naimhdean ghairm mi thu, agus feuch, da rìreadh bheannaich thu *iad* na tri uairean ſo.

11 Uime ſin teich a niſe do d' àite féin: ſhaoil mi t'ardachadh gu h-inbhe mhòir, ach feuch, chum an Tighearn air t'ais thu o inbhe.

12 Agus thubhairt Balaam ri Balac, Nach do labhair mi eadhon ri d' theachdairibh a chuir thu a'm' ionnſuidh, ag ràdh,

13 Ge do bheireadh Balac dhomh-ſa làn a thighe dh'airgiod agus a dh'òr, cha b'urrainn mi dol thar àithne an Tighearna, a dheanamh maith no uilc o m'inntinn féin: *ach* ge b'e ni their an Tighearna, ſin labhraidh miſe?

14 Agus a nis feuch, tha mi dol a dh'ionnſuidh mo dhaoine féin: thig *uime ſin*, bheir mi rabhadh [f] dhuit, ciod a ni 'n ſluagh ſo air do ſhluaghſa anns na laithibh deireannach.

15 Agus thog e ſuas a chòſamhlachd, agus thubhairt e, Thubhairt Balaam mac Bheoir, agus thubhairt an duine aig an robh a ſhùilean duinte:

16 Thubhairt eſan a chuala briathra Dhé, agus d'an aithne eolas an Ti 's ro-airde, a chunnaic taiſbeanadh an Uile-chumhachdaich, a' tuiteam agus a ſhùilean air am foſgladh:

17 Chi mi e, ach ni h-ann a nis: amhaircidh mi air, ach ni h-ann am fagus: thig reul [g] a mach a Iacob, agus éiridh ſlat rìoghail a h-Iſrael, agus buailidh i oiſinnean Mhoaib, agus cuiridh i as do chloinn Shet uile.

18 Agus bithidh Edom na ſheilbh, bithidh Seir mar an ceudna na ſheilbh aig a naimhdibh, agus ni Iſrael gaiſge.

19 A mach a Iacob thig eſan a bhios na uachdaran, agus ſgrioſaidh e 'n ti a mhaireas do'n bhaile mhòr.

20 Agus an uair a dh'amhairc e air Amalec, thog e ſuas a chòſamhlachd, agus thubhairt e, Tùs nan cinneach Amalec, ach *is* e 'dheire *bhi* air a ſgrios gu ſiorruidh.

21 Agus dh'amhairc e air na Cenich: agus thog e ſuas a chòſamhlachd, agus thubhairt e, Is làidir t'aite-

[a] *chum fioſachd, druidheachd.* [b] *ſealladh.* [c] *a ſhùilean dùinte.*
[d] *gàraichean.* [e] *phàilliuna.* [f] *fios, ſanas.* [g] *reult.*

t'àite-còmhnuidh, agus tha thu cur do
nid ann an carraig:
22 Gidheadh, fàsaichear na Cenich
gus an dthoir Asur leis thu ann am
braighdeanas.
23 Agus thog e suas a chosamh-
lachd, agus thubhairt e, Mo thruaighe!
cò bhios beo 'nuair a ni Dia so?
24 Agus *thig* longan o iomall
Chittim, agus ni iad olc air Asur, a
ni iad olc air Eber, agus sgriosar e
mar an ceudna gu bràth.
25 Agus dh'éirich Balaam suas, a-
gus dh'fhalbh e, agus phill e d'a àite
féin; agus dh'fhalbh Balac mar an
ceudna air a shlighe féin.

CAIB. XXV.

AGUS dh'fhan Israel ann an Si-
tim, agus thòisich an sluagh air
strìopachas a dheanamh le nighean-
aibh Mhoaib.
2 Agus ghairm iad an sluagh gu
ìobairtibh an dée: agus dh'ith an
sluagh, agus chrom iad sìos d'an
déibh.
3 Agus cheangail Israeil e féin ri
Baal-peor: agus las corruich an Tigh-
earn an aghaidh Israeil.
4 Agus thubhairt an Tighearna
ri Maois, Glac cinn fheadhna an
t-sluaigh uile, agus croch suas iad an
làthair an Tighearna sa chomhair na
gréine, chum as gu'm pill corruich
gharg an Tighearn o Israel.
5 Agus thubhairt Maois ri breith-
eamhnaibh Israeil, Marbhaibh gach
aon agaibh a dhaoine, a cheangail iad
féin ri Baal-peor.
6 Agus feuch, thàinig fear do
chloinn Israeil, agus thug e chum a
bhràithre Ban-mhidianach ann an
sealladh Mhaois, agus ann an seall-
adh coimhchruinnich chloinn Israeil
uile, agus iad a' gul aig dorus pàil-
liuin a' choimhthionail.
7 Agus a nuair a chunnaic Phinehas
mac Eleasair, mhic Aaroin an t-sa-
gairt e, dh'éirich e suas o mheasg a'
choimhchruinnich, agus ghabh e sleagh
na làimh[a];
8 Agus chaidh e 'n déigh an duine
do Israel a steach do'n bhùth, agus
[illegible] iad [b] le chéile, an duine
do Israel, agus a' bhean tre [illegible]
mar sin choisgeadh a' phlàigh [illegible]
chloinn Israeil.
9 Agus bhàsaich [illegible]
[illegible] mìle thar fhichead.
10 Agus labhair an [illegible]
Maois, ag ràdh,
11 Phill Phinehas mac Eleasair,
mhic Aaroin an [illegible]
[illegible] o chloinn Israeil,
[illegible] [c] [illegible] leth
nam measg, air chor as nach do chuir
mi as do chloinn Israeil a'm' eud.
12 Air an aobhar sin abair, Feuch,
bheir mise dha mo choimhcheangal[d]
sìth;
13 Agus bithidh e aige, agus aig
a shliochd na dhéigh, *eadhon* coimh-
cheangal sagartachd shìorruidh; a
chionn gu'n robh e eudmhor as leth
a Dhé, agus gu'n d'rinn e réite air
son chloinn Israeil.
14 A nis *b'e* ainm an Israelich a
mharbhadh, *eadhon* a mharbhadh
maille ris a' Bhan-mhidianaich, Simri
mac Shalu, ceannard prìomh[e] thighe
am measg nan Simeonach.
15 Agus *b'e* ainm na Ban-mhidian-
aich a mharbhadh, Cosbi nighean
Shur; *bu* cheann cinnich e, *agus* do
phrìomh thigh ann am Midian.
16 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
17 Buin gu naimhdeil ris[f] na Mi-
dianaich, agus buailibh iad:
18 Oir tha iadsan a' buntuinn gu
naimhdeil ribhse le'n as-innleachd-
aibh, leis an do mheall iad sibh, ann
an aobhar[g] Pheoir agus ann an aobhar
Chosbi, nighinn ceannaird do Mhi-
dian am peathar, a mharbhadh ann
an là na plàigh ann an aobhar
Pheoir[h].

CAIB. XXVI.

AGUS tharladh an déigh na
plàigh, gu'n do labhair an
Tighearna ri Maois, agus ri Eleasar
mac Aaroin an t-sagairt, ag ràdh,
2 Gabhaibh àireamh coimhchruinn-
ich chloinn Israeil uile, o fhichead
bliadhna dh'aois agus os a chionn, tre
thigh an aithreacha, iadsan uile a's
urrainn

[a] *o làimh.* Eabh. [b] *shàth e trìd iad.* [c] *teas-ghràdhach.* [d] *chùmh-
nant.* [e] *ceud, ard.* [f] *Teannaich.* Eabh. [g] *cùis.* [h] *air son Pheoir.*

comasinn dol a mach gu cogadh ann an Iſrael.

3 Agus labhair Maois agus Eleaſar an ſagart riu ann an còmhnardaibh[a] Mhoaib làimh ri Iordan *am fagus do* Iericho, ag ràdh,

4 *Gabhaibh àireamh an t-ſluaigh*, o fhichead bliadhna dh'aois agus os a chionn: mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois agus do chloinn Iſraeil, a chaidh a mach a talamh na h-Eiphit.

5 Reuben am mac bu ſhine aig Iſrael: clann Reubein; Hanoch, *o'm bheil* teaghlach nan Hanochach: o Phalu, teaghlach nam Paluthach:

6 O Heſron, teaghlach nan Heſronach: o Charmi, teaghlach nan Carmach.

7 *Is* iad ſin teaghlaichean nan Reubeneach: agus *iadſan a chaidh àireamh dhiubh, b'iad dà fhichead agus tri mile agus ſeachd ceud agus deich 'ar fhichead.*

8 Agus mic Phalu, Eliab.

9 Agus mic Eliaib; Nemuel, agus Datan, agus Abiram. *Is* e ſo an Datan agus an t-Abiram *a bha* ainmeil ſa' choimhchruinneach, a rinn ſtri' an aghaidh Mhaois agus an aghaidh Aaroin ann an cuideachd Chorah, 'nuair a rinn iad ſtri' an aghaidh an Tighearna.

10 Agus dh'fhoſgail an talamh a bheul, agus ſhluig e ſuas iad maille ri Corah, 'nuair a bhàſaich a' chuideachd ſin, an uair a loisg an teine ſuas dà cheud agus leth cheud fear: agus rinneadh iad nan comhara[b].

11 Gidheadh cha do bhàſaich clann Chorah.

12 Mic Shimeoin a réir an teaghlaichean: o Nemuel, teaghlach nan Nemuelach: o Iamin, teaghlach nan Iamineach: o Iachin, teaghlach nan Iachineach:

13 O Sherah, teaghlach nan Sarhach: o Shaul, teaghlach nan Saulach.

14 *Is* iad ſin teaghlaichean nan Simeonach, fichead agus dà mhile agus dà cheud.

15 Clann Ghad a réir an teaghlaichean: o Shephon, teaghlach nan Sephonach: o Hagi, teaghlach nan Hagitheach: o Shuni, teaghlach nan Sunitheach:

16 O Oſni, teaghlach nan Oſnitheach: o Eri, teaghlach nan Eritheach:

17 O Arod, teaghlach nan Arodach: o Areli, teaghlach nan Arelitheach.

18 *Is* iad ſin teaghlaiche chloinn Ghad, a réir na dh'àireamheadh dhiubh, dà fhichead mìle agus cùig ceud.

19 *B*'iad mic Iudaih Er agus Onan: agus fhuair Er agus Onan bàs ann an tìr Chanaain.

20 Agus b'iad mic Iudaih a réir an teaghlaichean, o Shelah, teaghlach nan Selanach: o Pharets, teaghlach nan Pharetſach: o Sherah, teaghlach nan Zarhach:

21 Agus b'iad mic Pharets; o Heſron, teaghlach nan Heſronach: o Hamul, teaghlach nan Hamulach.

22 *Is* iad ſin teaghlaichean Iudaih a réir na dh'àireamheadh dhiubh, tri fichead agus sè mile deug agus cùig ceud.

23 Do mhic Iſachair a réir an teaghlaichean: o Tholah, teaghlach nan Tolahach: o Phua, teaghlach nam Punach:

24 O Iaſub, teaghlach nan Iaſubach: o Shimron, teaghlach nan Simronach.

25 *Is* iad ſin teaghlaichean Iſachair, a réir na chaidh àireamh dhiubh, tri fichead agus ceithir mìle agus tri cheud.

26 Do mhic Shebuluin a réir an teaghlaichean: o Shered, teaghlach nan Sardach: o Elon, teaghlach nan Elonach: o Iahleel, teaghlach nan Iahleelach.

27 *Is* iad ſin teaghlaichean nan Sebulunach, a réir na chaidh àireamh dhiubh, tri fichead mìle agus cùig ceud.

28 *B'iad* mic Ioſeiph a réir an teaghlaiche, Manaſeh agus Ephraim.

29 Do mhic Mhanaſeh: o Mhachir, teaghlach nam Machireach: agus ghin Machir Gilead; o Ghilead, *thàinig* teaghlach nan Gileadach.

30 *Is* iad ſo mic Ghilead: o Ieſer, teaghlach

[a] *réideanaibh.* [b] *ball-sampuill.*

teaghlach nan Ieſereach: o Helec, teaghlach nan Heleceach;

31 Agus o Aſriel, teaghlach nan Aſrieleach: agus o Shechem, teaghlach nan Sechemeach:

32 Agus o Shemida, teaghlach nan Semideach; agus o Hepher, teaghlach nan Hephereach;

33 Agus cha robh aig Selophehad mac Shepheir mic ſam bith, ach nigheanan: agus *b'iad* ainmean nigheana Shelophehaid, Mahla, agus Noah, Hoglah, Milcah, agus Tirſah.

34 *Is* iad ſin teaghlaichean Mhanaſeh, agus iadſan a chaidh àireamh dhiubh, leth-cheud agus dà mhìle agus ſeachd ceud.

35 *Is* iad ſo mic Ephraim, a réir an teaghlaichean: o Shutelah, teaghlach nan Suteleach: o Bhecher, teaghlach nan Bechereach: o Thahan, teaghlach nan Tahanach.

36 Agus *is* iad ſo mic Shutelah: o Eran, teaghlach nan Eranach.

37 *Is* iad ſin teaghlaichean mhac Ephraim, a réir na chaidh àireamh dhiubh, dà mhìle dheug 'ar fhichead agus cùig ceud. *Is* iad ſin mic Ioſeiph a réir an teaghlaichean.

38 Mic Bheniamin a réir an teaghlaichean: o Bhelah, teaghlach nam Belahach: o Aſbel, teaghlach nan Aſbeleach: o Ahiram, teaghlach nan Ahiramach.

39 O Shupham, teaghlach nan Suphamach: o Hupham, teaghlach nan Huphamach.

40 Agus *b'iad* mic Bhelah Ard agus Naaman: *o Ard*, teaghlach nan Ardach; *agus* o Naaman, teaghlach nan Naamach.

41 *Is* iad ſin mic Bheniamin a réir an teaghlaichean: agus iadſan a chaidh àireamh dhiubh, *b'iad* dà fhichead agus cùig mìle agus sè ceud.

42 *Is* iad ſo mic Dhan a réir an teaghlaichean: o Shuham, teaghlach nan Suhamach. *Is* iad ſo teaghlaichean Dhan a réir an teaghlaichean.

43 *B'iad* teaghlaichean nan Suhamach uile a réir na chaidh àireamh dhiubh, tri fichead agus ceithir mìle agus ceithir cheud.

44 Do chloinn Aſeir a réir an teaghlaichean: o Iimna, teaghlach nan Iimnathach: o Ieſui, teaghlach nan Ieſuitheach: o Bheriah, teaghlach nam Beritheach.

45 Do mhic Bheriah: o Heber, teaghlach nan Hebereach: ó Mhalchiel, teaghlach nam Malchieleach.

46 Agus *b'e* ainm nighinn Aſeir, Sarah.

47 *Is* iad ſin teaghlaichean mhac Aſeir, a réir na chaidh àireamh dhiubh; leth-cheud agus tri mìle agus ceithir cheud.

48 Do mhic Naphtali a réir an teaghlaichean: o Iahſeel, teaghlach nan Iahſeeleach: o Ghuni, teaghlach nan Gunitheach:

49 O Ieſer, teaghlach nan Ieſereach: o Shillem, teaghlach nan Sillemeach.

50 *Is* iad ſin teaghlaichean Naphtali a réir an teaghlaichean: agus iadſan a dh'àirmheadh dhiubh, *b'iad* dà fhichead agus cùig mìle agus ceithir cheud.

51 *B'iad* ſin iadſan a dh'àirmheadh do chloinn Iſraeil, sè ceud mìle agus mìle ſeachd ceud agus deich 'ar fhichead.

52 Agus labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

53 Dhoibh ſin roinnear am fearann mar oighreachd, a réir àireimh nan ainmeanna.

54 Do mhòran bheir thu ni's mò dh'oighreachd, agus do bheagan bheir thu ni's lugha dh'oighreachd: bheirear 'oighreachd féin do gach aon, a réir an àireimh.

55 Gidheadh roinnear am fearann le crannchur: a réir ainmeanna threubhan an aithreacha gheibh iad an oighreachd.

56 A réir a' chrannchuir roinnear a ſhealbh eadar mhòran *agus* bheagan.

57 Agus *is* iad ſo iadſan a dh'àirmheadh do na Lebhithich, a réir an teaghlaichean; o Gherſon, teaghlach nan Gerſonach: o Chohat, teaghlach nan Cohatach: o Mherari, teaghlach nam Merarітheach.

58 *Is* iad ſo teaghlaichean nan Lebhitheach; teaghlach nan Libnitheach, teaghlach nan Hebronach,

teaghlach

teaghlach nam Mahlach, teaghlach
nam Muifitheach, teaghlach nan Co-
rahach: agus ghin Cohat Amram.
59 Agus *b'e* ainm mnà Amraim
Iochebed, nighean Lebhi, a rug *a*
màthair do Lebhi fan Eiphit: agus
rug i do Amram, Aaron, agus Maois,
agus Miriam am piuthar.
60 Agus do Aaron rugadh Na-
dab agus Abihu, Eleafar agus Ita-
mar.
61 Agus fhuair Nadab agus Abi-
hu bàs, an uair a thug iad fuas teine
coimheach an làthair an Tighearna.
62 Agus b'iadfan a chaidh àireamh
dhiubh, fichead agus tri mìle, firionn-
aich uile o mhios a dh'aois agus os a
chionn; oir cha d'àirmheadh iad am
meafg chloinn Ifraeil, a chionn nach
d'thugadh oighreachd dhoibh am
meafg chloinn Ifraeil.
63 *Is* iad fin iadfan a chaidh àir-
eamh le Maois agus Eleafar an fagart,
a dh'àireamh clann Ifraeil ann an
còmhnardaibh Mhoaib, làimh ri Ior-
dan *am fagus do* Ierich.
64 Ach nam meafg fin cha robh
aon duine dhiubhfan a dh'àireamh
Maois agus Aaron an fagart, an uair
a dh'àireamh iad clann Ifraeil ann am
fafach Shinai:
65 Oir thubhairt an Tighearn
umpafan, Gheibh iad gu deimhin
bàs anns an fhàfach, agus cha d'fhàg-
adh duine dhiubh, faor o Chaleb
mac Iephunch, agus Iofua mac
Nun.

C A I B. XXVII

AN fin thàinig nigheana Shelo-
phehaid mhic Hepheir, mhic
Ghilead, mhic Mhachir, mhic Mha-
nafeh, do theaghlaichibh Mhanafeh
mhic Iofeiph: agus *is* iad fo ainmean
a nigheana, Mahlah, agus Noah, agus
Hoglah, agus Milcah, agus Tirfah.
2 Agus fheas iad an làthair Mhaois,
agus an làthair Eleafair an t-fagairt,
agus an làthair nan ceannard, agus a'
choimhchruinnich uile làimh ri dorus
pàilliuin a' choimhthionail, ag ràdh,
3 Dh'eug ar n-athair anns an fhàf-
ach, agus cha robh e ann an cuideachd
na muinntir a chruinnich iad fèin r'a
chéile an aghaidh an Tighearn ann an
cuideachd Choraih, ach dh'eug e na
pheacadh fèin; agus cha robh mic
fam bith aige.
4 C'ar fon a chaillear ainm ar
n-athar o mheafg a theaghlaich, a
chionn nach 'eil mac aige? Thugaibh
dhuinn *uime fin* fealbh am meafg
bhràithrean ar n-athar.
5 Agus thug Maois an cùis an là-
thair an Tighearna.
6 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
7 Labhair nigheana Shelophehaid
gu ceart: bheir thu dhoibh gu cinnt-
each fealbh oighreachd am meafg
bhràithrean an athar: agus bheir thu
fa'near gu'n dthig oighreachd an
athar d'an ionnfuidh.
8 Agus labhraidh tu ri cloinn If-
raeil, ag ràdh, Ma gheibh duine bàs,
agus gun mhac aige, an fin bheir fibh
fa'near gu'n dthig 'oighreachd fan
chum a nighinn.
9 Agus mur bi nighean aige, an
fin bheir fibh 'oighreachd d'a bhràith-
ribh.
10 Agus mur bi bràithrean aige,
an fin bheir fibh 'oighreachd do
bhràithribh 'athar.
11 Agus mur bi bràithrean aig
'athair, an fin bheir fibh 'oighreachd
d'a fhear-dàimh[a] a's faigfe dha d'a
theaghlach, agus fealbhaichidh e i:
agus bithidh e do chloinn Ifraeil na
reachd[b] breitheanais, mar a dh'àithn
an Tighearna do Mhaois.
12 Agus thubhairt an Tighearna ri
Maois, Imich fuas do'n t-fliabh fo
Abarim, agus gabh fealladh do'n
fhearann a thug mife do chloinn If-
raeil.
13 Agus an uair a chi thu e,
cruinnichear thufa mar an ceudna
chum do dhaoine, mar a chruinnich-
eadh Aaron do bhràthair:
14 A chionn gu'n d'rinn fibh
ceannairc an aghaidh m'àithne-fa ann
am fàfach Shin, ann an co'-ftri' a'
choimhchruinnich, agus nach do
naomhaich fibh mi[c] aig an uifge, ann
an fealladh an sùl: *is* e fin uifge
Mheribah ann an Cades ann am fàf-
ach Shin.

S 2 15 Agus

[a] *d'a fheoil.* Eabh. [b] *lagh, ordugh.* [c] *chum mo naomhachadh.*

15 Agus labhair Maois, ris an Tighearn, ag ràdh,

16 Cuireadh an Tighearna [a], Dia spiorad na h-uile fheola, duine os cionn a' choimhchruinnich,

17 A théid a mach rompa, agus a thig a steach rompa, agus a threóraicheas a muigh iad, agus a bheir a stigh iad; a chum nach bi coimhchruinneach an Tighearna mar chaoraich aig nach '*eil* buachaille.

18 Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, Gabh a t'ionnsuidh Iosua mac Nun, duine anns a' *bheil* an spiorad, agus cuir do làmh air.

19 Agus cuir e an làthair Eleasair an t-sagairt, agus an làthair a' choimhchruinnich uile: agus thoir àithne dha nam fianuis.

20 Agus cuiridh tu *cuid* do t'urram air, a chum as gu'm bi coimhchruinneach chloinn Israeil uile ùmhal *dha* [b].

21 Agus seasaidh e 'n làthair Eleasair an t-sagairt, a dh'iarras comhairl' air a shon, a *réir* breitheanais na h-Urim an làthair an Tighearna: air 'fhocal-san théid iad a mach, agus air 'fhocal thig iad a steach, e féin agus clann Israeil uile maille ris, eadhon an coimhchruinneach uile.

22 Agus rinn Maois mar a dh'àithn an Tighearna dha: agus ghabh e Iosua agus chuir e 'n làthair Eleasair an t-sagairt e, agus an làthair a' choimhchruinnich uile.

23 Agus chuir e a làmhan air, agus thug e àithne dha, mar a labhair an Tighearna le làimh Mhaois.

C A I B. XXVIII.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

2 Aithn do chloinn Israeil, agus abair riu, Mo thabhartas, *agus* m'aran air son m'iobairtean a bheirear suas le teine *chum* fàile cùbhraidh dhomh, bheir sibh an aire gu'n dthoir sibh seachad dhomhsa nan àm iomchuidh féin.

3 Agus their thu riu, Is e so an tabhartas a bheirear suas le teine, a bheir sibh seachad do'n Tighearna; dà uan do'n cheud bhliadhna gun ghaoid gach là, *chum* iobairt-loisgte ghnàthaichte.

4 Aon uan bheir thu seachad sa' mhaduinn, agus an t-uan eile bheir thu seachad air feasgar;

5 Agus an deicheamh *earrann* do ephah phlùir mar thabhartas-bidh, measgta leis a' cheathramh *earrann* do hin a dh'oladh bhrùite.

6 *Is* iobairt-loisgte ghnàthaichte a t'ann, a dh'orduicheadh ann an sliabh Shinai chum fàile cùbhraidh, iobairt a bheirear suas le teine do'n Tighearna.

7 Agus *is* i a tabhartas-dibhe an ceathramh *earran* do hin air son aon uain: anns an ionad naomha bheir thu fa'near fion làidir a dhòrtadh do'n Tighearna mar thabhartas-dibhe.

8 Agus an t-uan eile bheir thu seachad air feasgar: mar thabhartas-bidh na maidne, agus mar a tabhartas-dibhe bheir thu seachad e, mar iobairt a bheirear suas le teine dh'fhàile cùbhraidh do'n Tighearna.

9 Agus air là na sàbaid, dà uan do'n cheud bhliadhna gun ghaoid, agus dà dheicheamh earrann phlùir measgta le h-oladh mar thabhartas-bidh, agus a tabhartas-dibhe [c].

10 *Is e so* iobairt-loisgte gach sàbaid, a thuilleadh air an iobairt-loisgte ghnàthaichte, agus a tabhartas-dibhe.

11 Agus ann an toiseach bhur mìos bheir sibh seachad *chum* iobairt-loisgte do'n Tighearna, dà tharbh òg, agus aon reithe, seachd uain do'n cheud bhliadhna gun ghaoid,

12 Agus tri deicheamh earranna phlùir measgta le h-oladh mar thabhartas-bidh air son gach tairbh, agus dà dheicheamh earrann phlùir measgta le h-oladh mar thabhartas-bidh air son gach reithe.

13 Agus aon deicheamh earrann phlùir air leth measgta le h-oladh mar thabhartas-bidh air son gach uain, *chum* iobairt-loisgte deagh bholaidh, iobairt a bheirear suas le teine do'n Tighearna.

14 Agus *mar* an tabhartais-dibhe bithidh leth hin do fhion air son tairbh,

[a] *Iehobhah.* Eabh. [b] *cuiridh tu do t' onoir air, chum gu'n éisd coimhchruinneach chloinn Israeil uile* ris. [c] *deoch ofrail.*

tairbh, agus an treas *earrann* do hin air fon reithe, agus an ceathramh *earrann* do hin air fon uain: *is* i fo iobairt-loifgte gach mios air feadh mhiofa na bliadhna.

15 Agus iobrar aon mheann do na gabhraibh mar iobairt-pheacaidh do'n Tighearna, a thuilleadh air an iobairt-loifgte ghnàthaichte, agus a tabhartas-dibhe.

16 Agus air a' cheathramh là deug do'n cheud mhios *tha* càifg [a] an Tighearna.

17 Agus air a' chùigeadh là deug do'n mhios fo *tha* 'n fhéild: feachd laithean ithear aran neo-ghoirtichte.

18 Air a' cheud là *bithidh* coimhghairm naomha; obair thràilleil [b] fam bith cha dean fibh *air*.

19 Ach bheir fibh feachad *a chum* iobairt a bheirear fuas le teine, mar iobairt-loifgte do'n Tighearna, dà tharbh òg, agus aon reithe, agus feachd uain do'n cheud bhliadhna: gun ghaoid bithidh iad duibh.

20 Agus bithidh an tabhartas-bìdh *do* phlùr meafgta le h-oladh: tri deicheamh earranna bheir fibh feachad air fon tairbh, agus dà dheicheamh earrann air fon reithe.

21 Deicheamh earrann air leth bheir thu feachad air fon gach uain, air feadh nan feachd uan:

22 Agus aon bhoc-gaibhre *chum* iobairt-pheacaidh, a dheanamh réite air bhur fon.

23 Iobraidh fibh iad fin a thuilleadh air an iobairt-loifgte fa' mhaduinn, a *tha* mar iobairt loifgte ghnàthaichte.

24 Mar fo bheir fibh feachad [c] gach là air feadh nan feachd laithean, biadh na h-iobairt a bheirear fuas le teine, *chum* fàile cùbhraidh do'n Tighearna: bheirear feachad e thuilleadh air an iobairt-loifgte ghnàthaichte, agus a tabhartas-dibhe.

25 Agus air an t-feachdamh là bithidh coimhghairm naomha agaibh: obair thràilleil fam bith cha dean fibh air.

26 Mar an ceudna air là nan ceud thoradh, 'nuair a bheir fibh feachad tabhartas bìdh nuadh [d] do'n Tighearna, aig ceann bhur feachduinean, bithidh coimhghairm naomh agaibh: obair thràilleil fam bith cha dean fibh.

27 Ach bheir fibh feachad mar iobairt-loifgte, chum fàile cùbhraidh do'n Tighearna, dà tharbh òg, aon reithe, feachd uain do'n cheud bhliadhna;

28 Agus an tabhartas-bìdh do phlùr meafgta le h-oladh, tri deicheamh earrannan air fon gach tairbh, dà dheicheamh earrann air fon gach reithe,

29 Deicheamh earrann air leth air fon gach uain, air feadh nan feachd uan:

30 *Agus* aon mheann [c] do na gabhraibh, a dheanamh réite air bhur fon.

31 Iobraidh fibh *iad* a thuilleadh air an iobairt-loifgte ghnàthaichte, agus a tabhartas-bìdh (gun ghaoid bithidh iad duibh) agus an tabhartafan-dibhe.

C A I B. XXIX.

AGUS anns an t-feachdamh mìos, air a' cheud *la* do'n mhìos, bithidh coimhghairm naomha agaibh; obair thràilleil fam bith cha dean fibh: is là fhéideadh nan trompaid dhuibh e.

2 Agus bheir fibh feachad mar iobairt-loifgte chum fàile cùbhraidh do'n Tighearna, aon tarbh òg, aon reithe, *agus* feachd uain do'n cheud bhliadhna gun ghaoid:

3 Agus *bithidh* an tabhartas-bìdh do phlùr meafgta le h-oladh, tri deicheamh earrannan air fon tairbh, *agus* dà dheicheamh earrann air fon reithe,

4 Agus aon deicheamh earrann air fon gach uain, air feadh nan feachd uan.

5 Agus aon mheann do na gabhraibh *chum* iobairt-pheacaidh, a dheanamh réite air bhur fon:

6 A thuilleadh air iobairt-loifgte a' mhìos, agus a tabhartas-bìdh, agus an iobairt-loifgte ghnàthaichte, agus a tabhartas-bìdh,

[a] *gabhail-thairis.* [b] *fhaoithreachail.* [c] *ni fibh.* Eabh, [d] *nomha.*
[c] *boc òg.*

tabhartas bìdh, agus an tabhartaſan-dibhe, a réir an gnàtha, chum fàile cùbhraidh, ìobairt a bheirear ſuas le teine do'n Tighearna.

7 Agus bithidh agaibh air an deicheamh *là* do'n t-ſeachdamh mios ſo coimhghairm naomha: agus cràdhaidh ſibh bhur n-anman: obair ſam bith cha dean ſibh *air*.

8 Ach bheir ſibh ſeachad *chum* ìobairt-loiſgte do'n Tighearna dh'fhàile cùbhraidh, aon tarbh òg, aon reithe, *agus* ſeachd uain do'n cheud bhliadhna; gun ghaoid bithidh iad duibh.

9 Agus *bithidh* an tabhartas-bìdh do phlùr meaſgta le h-oladh, tri deicheamh earrannan air ſon *gach* tairbh, *agus* dà dheicheamh earrann air ſon gach reithe;

10 Deicheamh earrann air leth air ſon gach uain, air feadh nan ſeachd uan:

11 Aon mheann do na gabhraibh *chum* ìobairt-pheacaidh, a thuilleadh air ìobairt-pheacaidh na réite, agus an ìobairt-loiſgte ghnàthaichte, agus a tabhartas-bìdh, agus an tabhartaſan dibhe.

12 Agus air a' chùigeadh là deug do'n t-ſeachdamh mìos, bithidh coimhghairm naomh agaibh; obair thràillcil ſam bith cha dean ſibh; agus gleidhidh ſibh féiſd do'n Tighearna ſeachd làithean.

13 Agus bheir ſibh ſeachad *chum* ìobairt-loiſgte, ìobairt a bheirear ſuas le teine, dh'fhàile cùbhraidh [a] do'n Tighearna, tri tairbh dheug òga, dà reithe, *agus* ceithir uain deug do'n cheud bhliadhna; gun ghaoid bithidh iad.

14 Agus *bithidh* an tabhartas-bìdh do phlùr meaſgta le h-oladh, tri deicheamh earrannan air ſon gach tairbh do na tri tairbh dheug, dà dheicheamh earrann air ſon gach reithe do'n dà reithe,

15 Agus deicheamh earrann air leth air ſon gach uain do na ceithir uain deug:

16 Agus aon mheann do na gabhraibh *chum* ìobairt-pheacaidh, a thuilleadh air an ìobairt-loiſgte ghnàthaichte, a tabhartas-bìdh, agus a tabhartas-dibhe.

17 Agus air an dara là *bheir ſibh ſeachad* dà tharbh dheug òg, dà reithe, ceithir uain deug do'n cheud bhliadhna gun ghaoid:

18 Agus *bithidh* an tabhartas-bìdh, agus an tabhartaſan-dibhe air ſon nan tarbh, air ſon nan reitheachan, agus air ſon nan uan, a réir an àireimh, a réir a' ghnàtha:

19 Agus aon mheann do na gabhraibh *chum* ìobairt-pheacaidh, a thuilleadh air an ìobairt-loiſgte ghnàthaichte, agus a tabhartas-bìdh, agus an tabhartaſan-dibhe.

20 Agus air an treas là aon tarbh deug, dà reithe, ceithir uain deug do'n cheud bhliadhna gun ghaoid:

21 Agus *bithidh* an tabhartas-bìdh, agus an tabhartaſan-dibhe, air ſon nan tarbh, air ſon nan reitheachan, agus air ſon nan uan, a réir an àireimh, a réir a' ghnàtha:

22 Agus aon bhoc-gaibhre *chum* ìobairt-pheacaidh a thuilleadh air an ìobairt-loiſgte ghnàthaichte, agus a tabhartas-bìdh, agus a tabhartas-dibhe.

23 Agus air a cheathramh là deich tairbh, dà reithe, *agus* ceithir uain deug do'n cheud bhliadhna gun ghaoid:

24 *Bithidh* an tabhartas-bìdh, agus an tabhartaſan-dibhe, air ſon nan tarbh, air ſon nan reitheachan, agus air ſon nan uan, a réir an àireimh, a réir a' ghnàtha:

25 Agus aon mheann do na gabhraibh *chum* ìobairt-pheacaidh, a' thuilleadh air an ìobairt-loiſgte ghnàthaichte, a tabhartas-bìdh, agus a tabhartas-dibhe.

26 Agus air a' chùigeadh là naoi tairbh, dà reithe, *agus* ceithir uain deug do'n cheud bhliadhna gun ghaoid:

27 Agus *bithidh* an tabhartas-bìdh, agus an tabhartaſan-dibhe, air ſon nan tarbh, air ſon nan reitheachan, agus air ſon nan uan, a réir an àireimh, a réir a' ghnàtha:

28 Agus aon bhoc-gaibhre *chum* ìobairt-pheacaidh,

iobairt-pheacaidh, a thuilleadh air an iobairt-loiſgte ghnàthaichte, agus a tabhartas-bidh, agus a tabhartas-dibhe.

29 Agus air an t-ſeathadh là ochd tairbh, dà reithe, *agus* ceithir uain deug do'n cheud bhliadhna gun ghaoid:

30 Agus *bithidh* an tabhartas bìdh agus an tabhartaſan dibhe air ſon nan tarbh, air ſon nan reitheachan, agus air ſon nan uan, a réir an àireimh, a réir a' ghnàtha:

31 Agus aon bhoc-gaibhre *chum* iobairt-pheacaidh, a thuilleadh air an iobairt-loiſgte ghnàthaichte, a tabhartas-bidh, agus a tabhartas-dibhe.

32 Agus air an t-ſeachdamh là ſeachd tairbh, dà reithe, *agus* ceithir uain deug do'n cheud bhliadhna gun ghaoid:

33 Agus *bithidh* an tabhartas-bìdh, agus an tabhartaſan-dibhe air ſon nan tarbh, air ſon nan reitheachan, agus air ſon nan uan, a réir an àireimh, a réir a' ghnàtha:

34 Agus aon bhoc-gaibhre *chum* iobairt-pheacaidh, a thuilleadh air an iobairt-loiſgte ghnàthaichte, a tabhartas-bidh, agus a tabhartas-dibhe.

35 *Agus* air an ochdamh là bithidh ard choimhthional agaibh: obair thràilleil ſam bith cha dean ſibh *air*.

36 Ach bheir ſibh ſeachad *chum* iobairt-loiſgte, iobairt a bheirear ſuas le teine dh'fhàile cùbhraidh do'n Tighearna, aon tarbh, aon reithe, ſeachd uain do'n cheud bhliadhna gun ghaoid:

37 *Bithidh* an tabhartas-bìdh agus an tabharraſan-dibhe, air ſon an tairbh, air ſon an reithe, agus air ſon nan uan, a réir an àireimh, a réir a' ghnàtha:

38 Agus aon bhoc-gaibhre *chum* iobairt-pheacaidh, a thuilleadh air an iobairt-loiſgte ghnàthaichte, agus a tabhartas-bidh, agus a tabhartas-dibhe.

39 Na *nithe* ſin ni ſibh do'n Tighearna 'nar féiſdibh ſuidhichte [a], thuilleadh air bhur bòidibh, agus bhur tabhartaſan ſaor-thoile, air ſon bhur n-iobairtean-loiſgte, agus air ſon bhur tabhartaſan-bidh, agus air ſon bhur tabhartaſan-dibhe, agus air ſon bhur tabhartaſan-sith.

40 Agus dh'innis Maois do chloinn Iſraeil a réir gach ni a dh'àithn an Tighearna do Mhaois.

C A I B. XXX.

AGUS labhair Maois ri ceannardan nan treubh a thaobh chloinn Iſraeil [b], ag ràdh, *Is* e ſo an ni a dh'àithn an Tighearna.

2 Ma bhòidicheas duine bòid do'n Tighearna, no ma mhionnaicheas e mionnan a cheangal 'anma le ceangal [c], cha bhris [d] e 'fhocal; a réir gach ni a thig a mach as a bheul, ni e.

3 Mar an ceudna ma bhòidicheas bean bòid do'n Tighearna, agus gu'n ceangail ſi *i féin* le ceangal, *agus i* ann an tigh a h-athar na h-òige;

4 Agus gu'n cluinn a h-athair a bòid, agus a ceangal leis an do cheangail i h-anam, agus gu'm fan a h-athair na thoſd rithe, an ſin ſeaſaidh a bòidean uile, agus ſeaſaidh gach ceangal leis an do cheangail i h-anam.

5 Ach ma chuireas a h-athair na h-aghaidh ſan là anns an cluinn e; cha ſeas aon d'a bòidibh no d'a ceanglaichibh leis an do cheangail i h-anam; agus mathaidh an Tighearna dh'i, a chionn gu'n do chuir a h-athair na h-aghaidh [e].

6 Agus ma bha idir fear-pòſda aice 'nuair a bha bòidean oirre, no 'nuair a labhair i ni as a beul, leis an do cheangail i h-anam,

7 Agus gu'n cual' a fear *e*, agus gu'n d'fhan e na thoſd rithe ſan là anns an cual' e i: an ſin ſeaſaidh a bòidean, agus ſeaſaidh a ceanglaichean leis an do cheangail i h-anam.

8 Ach ma chuireas a fear-pòſda na h-aghaidh ſan là anns an cluinn e *i*, an ſin bheir e gu neo-brigh a bòid a bhòidich i, agus an ni a labhair i le 'bilibh, leis an do cheangail i h-anam: agus

[a] orduichte.
[b] cinn-fheadhna threabh chloinn Iſraeil.
[c] le cuibhreach, boinn.
[d] truaill.
[e] gu'n diùlt a h athair a bòid gu neo-bhrigh.

agus bheir an Tighearna maitheanas
dh'i.
9 Ach gach bòid bantraich, agus
mnà dealaichte, leis an do cheangail
i a h-anam, ſeaſaidh i na h-agh-
aidh.
10 Agus ma bhòidich i ann an
tigh a fir, no ma cheangail i h-anam
le ceangal maille ri mionnaibh,
11 Agus gu'n cual' a fear *e*, agus
gu'n d'fhan e na thoſd rithe, *agus* nach
do chuir e na h-aghaidh; an ſin
ſeaſaidh a bòidean uile, agus ſeaſaidh
gach ceangal leis an do cheangail i
h-anam.
12 Ach ma chuir a fear gu tur air
chùl iad [a] ſan là anns an cual' e *iad*,
an ſin ge b'e ni thàinig a mach as a
beul a thaobh a bòidean, no thaobh
ceangail a h-anma, cha ſeas e: chuir
a fear air chùl iad, agus bheir an
Tighearna maitheanas d'i.
13 Na bòidean, agus na mionnan
ſin uile a cheanglas a chum an t-anam
a chràdh, feudaidh a fear an daing-
neachadh, no feudaidh a fear an cur
air chùl.
14 Ach ma dh'fhanas a fear gu
tur na thoſd rithe, o là gu là; an ſin
tha e daingneachadh a bòidean uile,
no a ceanglaichean uile a ta oirre:
tha e g'an deanamh ſeaſmhach, a
chionn gu'n d'fhan e na thoſd rithe
ſan là anns an cual' e *iad*.
15 Ach ma chuireas e air chor ſam
bith air chùl iad an déigh dha 'n
cluinntin; an ſin giùlainidh e a h-ain-
gidheachd ſan.
16 *Is* iad ſin na reachdan a dh'àithn
an Tighearna do Mhaois eadar duine
agus a bhean, eadar athair agus a
nighean, *agus i fathaſt* na h-òige ann
an tigh a h-athar.

CAIB. XXXI.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
2 Dìol chañl. Iſraeil [b] air na Mi-
dianaich: na dhéigh ſin cruinnichear
chum do dhaoine thu.
3 Agus labhair Maois ris an
t-ſluagh, ag ràdh, Rachadh cuid dibh
ſo'n armaibh chum a' chogaidh, agus
imicheadh iad *a chogadh* an aghaidh
nam Midianach, agus dìoladh iad an
Tighearna air Midian.
4 Do gach tréibh mìle, air feadh
uile threubhan Iſraeil, cuiridh ſibh
chum a' chogaidh.
5 Mar ſin thugadh a mach a mìl-
tibh Iſraeil, mìle do *gach* tréibh, dà
mhìle dheug armaichte chum cog-
aidh.
6 Agus chuir Maois iad a chum a'
chogaidh, mìle do *gach* tréibh, iadſan
agus Phinehas mac Eleaſair an t-ſa-
gairt, a chum a' chogaidh, leis na
h-innealaibh naomha na làimh, agus
na trompaidean gu ſéideadh.
7 Agus chog iad an aghaidh nam
Midianach, mar a dh'àithn an Tigh-
earna do Mhaois; agus mharbh iad
na fìrionnaich uile.
8 Agus mharbh iad righrean Mhi-
diain, a thuilleadh air a' chuid eile
dhiubh a mharbhadh; *eadhon* Ebhi, a-
gus Recem, agus Sur, agus Hur, agus
Reba, cùig righrean Mhidiain: Ba-
laam mar an ceudna mac Bheoir
mharbh iad leis a' chlaidheamh.
9 Agus thug clann Iſraeil leo mnài
Mhidiain nam braighdibh, agus an
clann bheag, agus thug iad leo creach
an ſpréidh uile, agus an treudan uile,
agus am maoin uile.
10 Agus loiſg iad am bailtean uile
anns an robh iad a chòmhnuidh, agus
an dùin [c] uile le teine.
11 Agus thug iad leo a' chreach
uile, agus an cobhartach [d] uile eadar
dhaoine agus ainmhidhean.
12 Agus thug iad na braighdean [e],
agus a' chreach, agus an cobhartach
gu Maois agus Eleaſar an ſagart, agus
gu coimhchruinneach chloinn Iſraeil,
a chum a' chaimp aig còmhnardaibh
Mhoaib, a *ta* làimh ri Iordan *om fagus*
do Iericho.
13 Agus chaidh Maois agus Elea-
ſar an ſagart, agus ceannardan a'
choimhchruinnich uile mach nan
coinneamh an taobh a muigh do'n
champ.
14 Agus bha corruich air Maois ri
luchd-riaghluidh

c

[a] *rinn a fear faoin iad, thug e gu neo-bhrigh iad.* [b] *Thoir aicheabhail chloinn Iſraeil a mach.* [c] *an caiſtealan, an daingnichean.* [d] *a' chobhartach,* [e] *ciomaich, prìoſanaich.*

lechd-riaghluidh an t-ſluaigh, *ris* na
ceannardaibh air mhìltibh, agus na
ceannardaibh air cheudaibh, a thàinig
o'n chogadh.
15 Agus thubhairt Maois riu, An
do ghléidh ſibh na mnài uile beo?
16 Feuch, thug iad ſin air cloinn
Iſraeil, le comhairle Bhalaaim, peac-
achadh an aghaidh an Tighearn ann
an aobhar Pheoir; agus bha plàigh
air feadh coimhchruinnich an Tigh-
earna.
17 A nis uime ſin marbhaibh gach
firionnach am meaſg na cloinne bige,
agus marbhaibh gach bean d'am
b'aithne fear le luidheadh leis.
18 Ach a' chlann bhan uile do nach
b'aithne fear le luidhe leis, gleidhibh
beo dhuibh féin.
19 Agus fanaibhſe an taobh a
muigh do'n champ ſeachd laithean:
ge b'e mharbh neach air bith, agus ge
b'e bhean ri neach a mharbhadh, glan-
aibh ſibh féin, agus bhur braighdean
air an treas là, agus air an t-ſeachd-
amh là;
20 Agus glanaibh *bhur* n-eudach
uile, agus gach ni a rinneadh do
chroicnibh, agus gach obair do *fhionn-
adh* ghabhar, agus gach ni a rinneadh
do fhiodh.
21 Agus thubhairt Eleaſar an ſa-
gart ris na fir-chogaidh a chaidh a
mach a dh'ionnſuidh a' chatha, *Is* e
ſo ordugh an lagha a dh'àithn an
Tighearna do Mhaois:
22 A mhàin an t-òr, agus an t-air-
giod, an t-umha, an t-iarunn, an
ſtaoin, agus an luaidh,
23 Gach ni a dh'fhuilgeas an teine,
bheir ſibh fa'near e dhol tre 'n teine,
agus glanar e: gidheadh le uiſge an
ſgaraidh glanar e: agus gach ni nach
fulaing an teine, bheir ſibh fa'near e
dhol tre 'n uiſge.
24 Agus nighidh ſibh bhur n-eu-
dach air an t-ſeachdamh là, agus bith-
idh ſibh glan, agus na dhéigh ſin thig
ſibh a ſtigh do'n champ.
25 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
26 Gabh àireamh na creich a thog-
adh, eadar dhuine agus ainmhidh, thu
féin, agus Eleaſar an ſagart, agus
priomh aithreacha a' choimhchruinn-
ich:
27 Agus roinn a' chreach na dà
earrainn; eadar a' mhuinntir a ghabh
an cogadh orra féin, a chaidh mach
do'n chath, agus eadar an coimh-
chruinneach uile:
28 Agus tog cìs [a] do'n Tighearna
o na fir-chogaidh, a chaidh mach do'n
chath: aon anam a cùig ceud, *araon*
do na daoinibh, agus do'n bhuar, a-
gus do na h-aſail, agus do na caor-
aich.
29 Gabh e as an leth-ſan, agus
thoir e do Eleaſar an ſagart, *mar* tha-
bhartas-togta do'n Tighearna.
30 Agus a leth chloinn Iſraeil,
gabhaidh tu aon chuibhrionn a leth-
cheud, do na daoinibh, do'n bhuar,
do na h-aſail, agus do na treudaibh,
do gach ainmhidh, agus bheir thu
iad do na Lebhithich, a tha gleidh-
eadh cùraim pàilliuin an Tighearna.
31 Agus rinn Maois agus Eleaſar
an ſagart mar a [illegible] an Tigh-
earna do Mhaois.
32 Agus b'e an cobhartach, *eadhon*
a' chuid eile do'n chreich a ghlac na
fir-chogaidh, sè ceud mìle agus deich
is tri fichead mìle agus cuig mìle
caora,
33 Agus tri fichead agus dà mhìle
dheug bò,
34 Agus tri fichead agus aon mhìle
aſal,
35 Agus da mhìle dheug 'ar fhich-
ead anam ſan iomlan, do mhnaibh do
nach b'aithne fear le luidhe leis.
36 Agus bha 'n leth bu chuibh-
rionn doibhſan a chaidh mach a chum
a' chogaidh, ann an àireamh tri cheud
mìle agus ſeachd mìle deug 'ar fhich-
ead agus cùig ceud caora;
37 Agus b'i cìs an Tighearna do
na caoraich sè ceud agus tri fichead
agus cùig deug.
38 Agus *b'iad* am [illegible] sè mìle
deug 'ar fhichead: dhiubh ſo *b'i* cìs
an Tighearna tri fichead 's a dhà-
dheug.
39 Agus *b'iad* na h-aſail deich mìle
thar fhichead agus cùig ceud: dhiubh
ſo *b'i* cìs an Tighearna tri fichead a-
gus a h-aon.

40 Agus

[a] *cuibhrionn.*

40 Agus *b'iad* anman nan daoine [a]
sè mile deug: dhiubh so *b'i* cìs an
Tighearna dà anam dheug 'ar fhich-
ead.
41 Agus thug Maois a' chìs *eadhon*
tabhartas-togta an Tighearna, do E-
leasar an sagart, mar a dh'àithn an
Tighearna do Mhaois.
42 Agus do leth chloinn Israeil, a
roinn Maois o'n luchd cogaidh,
43 (A nis *b'i* 'n leth *a bhuineadh*
do'n choimhchruinneach, tri cheud
mile agus seachd mìle deug 'ar fhich-
ead agus cùig ceud caora,
44 Agus sè mìle deug 'ar fhichead
bò,
45 Agus deich mìle thar fhichead
asal agus cùig ceud,
46 Agus sè mìle deug anam [b])
47 Eadhon do'*n* leth *a bhuineadh do*
chloinn Israeil, ghabh Maois aon
chuibhrionn a leth cheud eadar dhuine
agus ainmhidh, agus thug e iad do na
Lebhithich, a bha gleidheadh cùraim
pàilliuin an Tighearna, mar a dh'àithn
an Tighearna do Mhaois.
48 Agus thàinig an luchd-riaghl-
uidh a *bha* os cionn mhiltean an
t-sluaigh, na ceannardan air mhìltibh,
agus na ceannardan air cheudaibh, am
fagus do Mhaois:
49 Agus thubhairt iad ri Maois,
Ghabh do sheirbhisich àireamh nam
fear-cogaidh a *tha* fo'r làimh, agus cha
'n'eil duine dhinn air chall.
50 Uime sin thug sinn tabhartas a
chum an Tighearna, gach fear na
fhuair e do sheudaibh [c] òir, *eadhon*
slabhraidhean, agus usgraichean [d],
fàinnean, cluas-fhailean, agus criosan,
a dheanamh réite air son ar n-anman
an làthair an Tighearna.
51 Agus ghabh Maois agus Eleasar
an sagart an t-òr uatha, uile na sheud-
aibh oibrichte.
52 Agus b'e òr an tabhartais uile a
thug iad [illegible]had do'n Tighearna, o na
ceannardaibh air mhìltibh agus o na
ceannardaibh air cheudaibh, sè mile
deug, seachd ceud agus leth-cheud
secel.
53 (Oir ghabh na fir-chogaidh co-
bhartach, gach duine dha féin)

54 Agus ghabh Maois agus E-
leasar an sagart an t-òr o na ceann-
ardaibh air mhìltibh, agus air cheud-
aibh, agus thug iad e gu pàilliun a'
choimhchionail, mar chuimhneachan
do chloinn Israeil an làthair an Tigh-
earna.

C A I B. XXXII.

A NIS bha aig cloinn Reubein a-
gus cloinn Ghad ro-mhòran
spréidhe: agus an uair a chunnaic
iad fearann Iaseir, agus fearann Ghil-
ead, feuch, *bha* 'n t-àite na àite
spréidhe:
2 Agus thàinig clann Ghad, agus
clann Reubein, agus labhair iad ri
Maois, agus ri Eleasar an sagart, agus
ri uachdaranaibh a' choimhchruinnich,
ag ràdh,
3 Ataroth, agus Dibon, agus Iaser,
agus Nimrah, agus Hesbon, agus E-
lealeh, agus Sebam, agus Nebo, agus
Beon;
4 *Eadhon* an dùthaich a bhuail an
Tighearna roimh choimhchruinneach
Israeil, *is* fearann e air son spréidhe,
agus tha spréidh aig do sheirbhisich.
5 Uime sin, ars' iadsan, ma fhuair
sinn deagh-ghean [c] a'd' [illegible]
thugar am fearann so do d' sheirbhis-
ich mar sheilbh, *agus* na dthoir sinn a
nunn thar Iordan.
6 Agus thubhairt Maois ri cloinn
Ghad, agus ri cloinn Reubein, An
dtéid bhur bràithre gu cogadh, agus
an suidh sibhse an so?
7 Agus c'ar son a bheir sibh mi-
mhisneach do chridhe chloinn Israeil,
a dhol a nunn do'n fhearann a thug
an Tighearna dhoibh?
8 Mar so rinn bhur n-aithreacha,
'nuair a chuir mi iad o Chades-barnea
a dh'amharc na tìre:
9 'Nuair a chaidh iad suas gu
gleann Escoil, agus a chunnaic iad am
fearann, thug iad mi-mhisneach do
chridhe chloinn Israeil, a chum nach
rachadh iad a steach, do'n fhearann a
thug an Tighearna dhoibh.
10 Agus las corruich an Tighearna
san àm sin féin, agus mhionnaich e,
ag ràdh,

11 Gu

[a] *nam pearsanna.* [b] *anmanna dhaoine.* Eabh. *persons.* Sasg. [c] *innil,*
uidheam. [d] *làmh-fhailean; bracelets.* Sasg. [e] *fàbhor.*

11 Gu cinnteach cha 'n fhaic a
h-aon do na daoinibh a thàinig a nìos
as an Eiphit, o fhichead bliadhna
dh'aois agus os a cheann, am fearann
a mhionnaich mi do Abraham, do I-
ſaac, agus do Iacob, a chionn nach do
lean iad mi gu h-iomlan;
12 Saor o Chaleb mac Iephuneh
an Ceniſeach, agus Ioſua mac Nun:
oir lean iadſan an Tighearna gu
h-iomlan.
13 Agus las corruich an Tighearna
an aghaidh Iſraeil, agus chuir e air
ſacharan [a] iad ſan fhàſach dà fhich-
ead bhliadhna, gus an deachaidh as
do'n ghinealach ſin uile a rinn olc an
ſealladh an Tighearna.
14 Agus feuch, tha ſibhſe air éirigh
ſuas an àite bhur n-aithreacha, gineal
dhroch dhaoine, a mheudachadh fathaſt
mòr chorruich an Tighearna ri h-Iſ-
rael.
15 Oir ma thionndadhas ſibh air
falbh o 'leantuinn-ſan, fàgaidh e fathaſt
uair eile ſan fhàſach iad, agus ſgrioſ-
aidh ſibh an ſluagh ſo uile.
16 Agus thàinig iad am fagus da,
agus thubhairt iad, Togaidh ſinn
mainnirean chaorach an ſo d'ar
ſpréidh, agus bailte [b] d'ar cloinn
bhig.
17 Ach théid ſinn féin deas-arm-
aichte roimh chloinn Iſraeil, gus an
dthoir ſinn iad d'an àite: agus ni ar
clann bheag còmhnuidh ſna bailtibh
daingnichte air ſgàth [c] luchd-àiteach-
aidh na tìre.
18 Cha phill ſinn d'ar tighibh gus
an ſealbhaich clann Iſraeil gach duine
dhiubh 'oighreachd féin:
19 Oir cha ſealbhaich ſinne maille
riu-ſan an taobh eile do Iordan, no
thall o ſin; a chionn gu'n do thuit
ar n' oighreachd dhuinne air an taobh
ſo do Iordan a làimh na h-aird' an
ear.
20 Agus thubhairt Maois riu, Ma
ni ſibh an ni ſo, ma théid ſibh fo'r [d]
n-armaibh roimh an Tighearna gu
cogadh,
21 Agus gu'n dthéid ſibh uile arm-
aichte thar Iordan roimh an Tigh-
earna, gus am fuadaich e mach a
naimhdean as a làthair,
22 Agus gu'n ceannſaichear [e] am
fearann am fianuis an Tighearna; na
dhéigh ſin pillidh ſibh, agus bithidh
ſibh neo-choireach an làthair an Tigh-
earna, agus an làthair Iſraeil, agus
bithidh am fearann ſo na ſheilbh ag-
aibh am fianuis an Tighearna.
23 Ach mur dean ſibh mar ſo,
feuch, pheacaich ſibh an aghaidh an
Tighearna: agus bithibh cinnteach
gu'm faigh bhur peacadh a mach
ſibh.
24 Togaibh bailte d'ar cloinn bhig,
agus mainnirean d'ar caoraich; agus
deanaibh an ni a chaidh mach as bhur
beul.
25 Agus labhair clann Ghad agus
clann Reubein ri Maois, ag ràdh, Ni
do ſheirbhiſich mar a ta mo thigh-
earn ag àithneadh.
26 Bithidh ar clann bheag, ar
mnài, ar treudan, agus ar ſpréidh uile,
an ſin ann am bailtibh Ghilead.
27 Ach théid do ſheirbhiſich
thairis, gach fear dhiubh armaichte
chum cogaidh, roimh an Tighearna
gu cath, mar a tha mo thighearn ag
ràdh.
28 Agus thug Maois àithne d'an
taobh do Eleaſar an ſagart, agus do
Ioſua mac Nun, agus do phriomh
àithreachaibh [f] threubha chloinn Iſ-
raeil.
29 Agus thubhairt Maois riu, Ma
théid clann Ghad, agus clann Reubein
a nunn maille ribh thar Iordan, gach
fear *dhiubh* armaichte chum cath an là-
thair an Tighearna, agus gu'n ceann-
ſaichear an tìr romhaibh [g], an ſin
bheir ſibh dhoibh fearann Ghilead mar
ſheilbh:
30 Ach mur dthéid iad thairis
maille ribh armaichte, bithidh ſeilbh
aca 'nar meaſg *féin* ann an tìr Cha-
naain.
31 Agus fhreagair clann Ghad, a-
gus clann Reubein, ag ràdh, Mar a
thubhairt an Tighearna ri d' ſheir-
bhiſich, mar ſin ni ſinne.
32 Théid ſinn a nunn armaichte
roimh

[a] *iomroll, allaban.* [b] *caithriche.* [c] *o aghaidh.* Eabh. [d] *fuidh ar.* [e] *ciosnaichear.* [f] *aithrichibh.* [g] *roimhibh.*

roimh an Tighearna do thir Cha-
naain, a chum as gu'*m bi* fealbh ar
n-oighreachd againn air an taobh fo
do Iordan.
33 Agus thug Maois dhoibh,
eadhon do chloinn Ghad, agus do
chloinn Reubein, agus do leth thréibh
Mhanafeh, mhic Iofeiph, rioghachd
Shihoin righ nan Amorach, agus
rioghachd Og righ Bhafain, an tir
maille r'a bailtibh, anns na crioch-
aibh, *eadhon* bailte na dùthcha m'an
cuairt.
34 Agus thog clann Ghad Dibon,
agus Atarot, agus Aroer,
35 Agus Atrot, Sophan, agus Iaafer,
agus Iogbehah,
36 Agus Bet-nimrah, agus Bet-ha-
ran, bailte daingnichte: agus mainn-
irean air fon chaorach:
37 Agus thog clann Reubein
Hefbon, agus Elealeh, agus Ciriat-
aim,
38 Agus Nebo, agus Baalmeon,
(air d'an ainme bhi air an atharr-
achadh,) agus Sibmah: agus thug iad
ainmeanna eile do na bailtibh a thog
iad.
39 Agus chaidh clann Mhachir,
mhic Mhanafeh, do Ghilead, agus
ghlac iad e, agus chuir iad a feilbh an
t-Amorach a *bha* ann.
40 Agus thug Maois Gilead do
Mhachir mac Mhanafeh; agus ghabh
e còmhnuidh ann.
41 Agus chaidh Iaer mac Mha-
nafeh agus ghlac e a bhailte beaga,
agus thug e Habhot-Iair mar ainm
orra.
42 Agus chaidh Nobah agus ghlac
e Cenat agus, a bhailte beaga, a-
gus thug e Nobah mar ainm air, a
réir 'ainme féin.

C A I B. XXXIII.

IS iad fo turufan chloinn Ifraeil, a
chaidh mach a tìr na h-Eiphit, a
réir an armailtean[a], fuidh làimh
Mhaois agus Aaroin.
2 Agus fgrìobh Maois an dol a
mach a réir an turufan, air àithne an
Tighearna: agus *is* iad fo an turufan,
a réir an dol a mach.
3 Agus dh'imich iad o Ramefes
anns a' cheud mhios, air a' chùigeadh
là deug do'n cheud mhios: air an là
màireach an déigh na càifge, chaidh
clann Ifraeil a mach le làimh aird ann
an feàlladh nan Eiphiteach uile.
4 Oir dh'adhlaic na h-Eiphitich *an*
ceud-ghin uile, a bhuail an Tighearna
nam meafg: air an déibh mar an
ceudna chuir an Tighearna breithean-
as an gnìomh.
5 Agus dh'imich clann Ifraeil[b] o
Ramefes, agus champaich iad ann an
Sucot.
6 Agus dh'imich iad o Shucot, a-
gus champaich iad ann an Etam, a *tha*
ann an iomall an fhàfaich.
7 Agus dh'imich iad o Etam, a-
gus phill iad a ris gu Pihahirot, a
ta fa chomhair Bhaal-fephoin: agus
champaich iad fa chomhair Mhig-
dol.
8 Agus dh'imich iad o chomhair
Phihahirot, agus chaidh iad tre
mheadhon na fairge do'n fhàfach, a-
gus dh'imich iad aftar thri laithean
ann am fàfach Etaim, agus champaich
iad ann am Màrah.
9 Agus dh'imich iad o Mhàrah,
agus thàinig iad gu h-Elim: agus
ann an Elim *bha* dà thobar[c] dheug
uifge, agus deich agus *tri* fichead
craobh pailm; agus champaich iad an
fin.
10 Agus dh'imich iad o Elim, a-
gus champaich iad làimh ris a' mhuir
ruaidh.
11 Agus dh'imich iad o'n mhuir
ruaidh, agus champaich iad ann am
fàfach Shin.
12 Agus dh'imich iad a fàfach
Shin, agus champaich iad ann an
Dophcah.
13 Agus dh'imich iad o Dhoph-
cah, agus champaich iad ann an A-
lus.
14 Agus dh'imich iad o Alus, agus
champaich iad ann an Rephidim, far
nach robh uifge aig an t-fluagh r'a
òl.
15 Agus dh'imich iad o Rephidim,
agus champaich iad ann am fàfach
Shinai.

16 Agus

[a] *le'n armailtibh.* [b] *thriall, ghabh clann Ifraeil an turus.* [c] *fuil.*
Eabh.

16 Agus dh'imich iad o fhàsach Shinai, agus champaich iad ann an Cibrot-hataabhah.

17 Agus dh'imich iad o Chibrot-hataabhah, agus champaich iad ann an Haserot.

18 Agus dh'imich iad o Haserot, agus champaich iad ann an Ritmah.

19 Agus dh'imich iad o Ritmah, agus champaich iad ann an Rimon-pares.

20 Agus dh'imich iad o Rimon-pares, agus champaich iad ann an Libnah.

21 Agus dh'imich iad o Libnah, agus champaich iad ann an Risah.

22 Agus dh'imich iad o Risah, agus champaich iad ann an Cehelatah.

23 Agus dh'imich iad o Chehelatah, agus champaich iad ann an sliabh Shapher.

24 Agus dh'imich iad o shliabh Shapher, agus champaich iad ann an Haradah.

25 Agus dh'imich iad o Haradah, agus champaich iad ann am Machelot.

26 Agus dh'imich iad o Mhachelot, agus champaich iad ann an Tahat.

27 Agus dh'imich iad o Thahat, agus champaich iad ann an Tarah.

28 Agus dh'imich iad o Tharah, agus champaich iad ann am Mitcah.

29 Agus dh'imich iad o Mhitcah, agus champaich iad ann an Hasmonah.

30 Agus dh'imich iad o Hasmonah, agus champaich iad ann am Moserot.

31 Agus dh'imich iad o Mhoserot, agus champaich iad ann am Bene-iaacan.

32 Agus dh'imich iad o Bhene-iaacan, agus champaich iad ann an Hor-hagidgad.

33 Agus dh'imich iad o Horhagidgad, agus champaich iad ann an Iot-batah.

34 Agus dh'imich iad o Iot-batah, agus champaich iad ann an Ebronah.

35 Agus dh'imich iad o Ebronah, agus champaich iad ann an Esion-gaber.

36 Agus dh'imich iad o Esion-gaber, agus champaich iad ann am fàsach Shin: *is* e so Cades.

37 Agus dh'imich iad o Chades, agus champaich iad ann an sliabh Hor, ann an iomall fearainn Edoim.

38 Agus chaidh Aaron an sagart suas gu sliabh Hor air àithne an Tighearna, agus fhuair e bàs an sin anns an dà fhicheadamh bliadhna an déigh do chloinn Israeil teachd a mach a tìr na h-Eiphit, air a' cheud là do'n chùigeadh mìos.

39 Agus bha Aaron ceud agus fichead agus tri bliadhna dh'aois, an uair a dh'eug e ann an sliabh Hor.

40 Agus chuala righ Arad an Canaanach (a bha chòmhnuidh san airde deas ann an tìr Chanaain) mu theachd chloinn Israeil.

41 Agus dh'imich iad o shliabh Hor, agus champaich iad ann an Salmonah.

42 Agus dh'imich iad o Shalmonah, agus champaich iad ann am Punon.

43 Agus dh'imich iad o Phunon, agus champaich iad ann an Obot.

44 Agus dh'imich iad o Obot, agus champaich iad ann an Ieabarim, ann an crìch Mhoaib.

45 Agus dh'imich iad o Iim, agus champaich iad ann an Dibon-gad.

46 Agus dh'imich iad o Dhibon-gad, agus champaich iad ann an Almon-diblataim.

47 Agus dh'imich iad o Almon-diblataim, agus champaich iad ann an sléibhtibh Abarim, fa chomhair Nebo.

48 Agus dh'imich iad o shléibhtibh Abarim, agus champaich iad ann an comhnardaibh Mhoaib, làimh ri Iordan *am fagus do* Iericho.

49 Agus champaich iad làimh ri Iordan, o Bhet-iesimot *eadhon* gu A-

Abel-ſitim, ann an còmhnardaibh Mhoaib.

50 Agus labhair an Tighearna ri Maois ann an còmhnardaibh Mhoaib, làimh ri Iordan *am fagus do* Iericho, ag ràdh,

51 Labhair ri cloinn Iſraeil, agus abair riu, 'Nuair a théid ſibh a nunn thar Iordan, do thìr Chanaain;

52 An ſin fògraidh ſibh a mach uile luchd-àiteachaidh na tìre as bhur fianuis, agus cuiridh ſibh as d'an dealbhan uile, agus ſgrioſaidh ſibh an coſlais[a] leaghta uile, agus fàſaichidh ſibh[b] an ionadan arda uile.

53 Agus cuiridh ſibh a ſeilbh *luchd-àiteachaidh* an fhearainn, agus ni ſibh còmhnuidh ann: oir thug miſe dhuibh am fearann r'a ſhealbhachadh.

54 Agus roinnidh ſibh am fearann le crannchur mar oighreachd am meaſg bhur teaghlaichean: dhoibhſan a's lion-mhoire bheir ſibh an oighreachd a's mò, agus dhoibhſan a's teirce bheir ſibh an oighreachd a's lugha: bithidh *oighreachd* gach duine ſan àite anns an tuit a chrannchur; a réir treubha bhur n-aithreacha ſealbhaichidh ſibh.

55 Ach mur fògair ſibh a mach luchd-àiteachaidh an fhearainn as bhur fianuis, an ſin bithidh iadſan diubh d'an leig ſibh fuireach, nan ſcolbaibh[c] nar sùilean, agus nam bioraibh nar taobhan, agus cuiridh iad campar oirbh[d] ſan fhearann anns am bi ſibh a chòmhnuidh.

56 Os bàrr tarlaidh, mar a ſmuainich mi a dheanamh riu-ſan, *gu'n* dean mi ribhſe.

C A I B. XXXIV.

AGUS labhair an Tighearna ri Maois, ag ràdh,

2 Aithn[illegible] chloinn Iſraeil, agus abair riu, 'Nuair a thig ſibh do thalamh Chanaain, (*is* e ſo am fearann a thuiteas oirbh mar oighreachd, *eadhon* fearann Chanaain maille r'a chrìochaibh,)

3 An ſin bithidh bhur cearn[e] deas o fhàſach Shin, leth ri crìch Edoim, agus is i bhur crìoch mu dheas fìor iomall na fairge ſaillte a làimh na h-aird' an ear.

4 Agus pillidh bhur crìoch o dheas gu dìreadh Acrabim, agus théid i air a h-aghaidh gu Sin; agus bithidh a dol a mach o'n taobh dheas gu Cadesbarnea, agus gabhaidh i roimpe gu Haſar-adar, agus théid i air a h-aghaidh gu h-Aſmon.

5 Agus bheir a' chrìoch cuairt o Aſmon gu abhuinn na h-Eiphit, agus bithidh a dol a mach aig an fhairge.

6 Agus a thaobh na crìch an iar, bithidh agaibh eadhon an fhairge mhòr *mar* chrìch: bithidh *a' chrìoch* ſo na crìch dhuibh air an làimh an iar.

7 Agus is i ſo bhur crìoch air an làimh mu thuath: o'n fhairge mhòir comharaichidh ſibh dhuibh féin *gu* ſliabh Hor.

8 O ſhliabh Hor comharaichidh ſibh *bhur crìoch* gu dol a ſtigh Hamat: agus bithidh dol a mach na crìche gu Sedad.

9 Agus gabhaidh *bhur* crìoch roimpe gu Siphron, agus bithidh a dol a mach aig Haſar-enan; is i ſo bhur crìoch mu thuath.

10 Agus comharaichidh ſibh bhur crìoch air an taobh an ear o Haſarenan gu Sepham.

11 Agus théid a' chrìoch sìos o Shepham gu Ribhlah, air an taobh an ear do Ain; agus théid a' chrìoch sìos, agus ruigidh i gu taobh fairge Chinereit a làimh na h-aird' an ear.

12 Agus théid a' chrìoch sìos gu Iordan, agus bithidh a dol a mach aig a' mhuir ſhaillte: is e ſo bhur fearann le 'chrìochaibh m'an cuairt.

13 Agus dh'àithn Maois do chloinn Iſraeil, ag ràdh, *Is* e ſo am fearann a ſhealbhaicheas ſibh le crannchur, a dh'àithn an Tighearna thoirt do na naoi treubhan agus do'n leth-threibh.

14 Oir fhuair treubh chloinn Reubein *an oighreachd*, a réir tighe an aithreacha, agus treubh chloinn Ghad

a réir

[a] *iombaighean, dreachan, riochdan.* [b] *tilgidh ſibh sìos.* [c] *dealgaibh, gathaibh.* [d] *bithidh iad nan naimhdean duibh.* [e] *cearna, oiſinn.*

a réir tighe an aithreacha; agus
fhuair leth thréibh Mhanaſeh an
oighreachd.
15 Fhuair an dà threubh agus an
leth thréibh an oighreachd air an
taobh ſo do Iordan *am fagus do* Ieri-
cho, a làimh na h-aird' an ear, leth ri
éirigh na gréine.
16 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
17 *Is* iad ſo ainmeanna nan daoine
a roinneas am fearann duibh: Eleaſar
an ſagart, agus Ioſua mac Nun.
18 Agus gabhaidh ſibh aon cheann-
ard do gach tréibh, a roinn an fhear-
ainn mar oighreachd.
19 Agus *is* iad ſo ainmeanna nan
daoine: Do thréibh Iudaih, Caleb
mac Iephuneh.
20 Agus do thréibh chloinn Shi-
meoin, Semuel mac Amihud.
21 Do thréibh Bheniamin, Elidad
mac Chiſloin.
22 Agus ceannard tréibh chloinn
Dhan, Buci mac Iogli.
23 Ceannard chloinn Ioſeiph, air
ſon tréibh chloinn Mhanaſeh, Haniel
mac Ephoid.
24 Agus ceannard tréibh chloinn
Ephraim, Cemuel mac Shiphtain.
25 Agus ceannard tréibh chloinn
Shebuluin, Eliſaphan mac Pharnaich.
26 Agus ceannard tréibh chloinn
Iſachair, Paltiel mac Aſain.
27 Agus ceannard tréibh chloinn
Aſeir, Ahihud mac Shelomi.
28 Agus ceannard tréibh chloinn
Naphtali, Pedahel mac Amihud.
29 *Is* iad ſin iadſan d'an d'àithn an
Tighearn an oighreachd a roinn do
chloinn Iſraeil ann an tìr Chanaain.

C A I B. XXXV.

AGUS labhair an Tighearna ri
Maois, ann an còmhnardaibh
Mhoaib, làimh ri Iordan *am fagus do*
Iericho, ag ràdh,
2 Aithn do chloinn Iſraeil, iad a
thabhairt do na Lebhithich do oigh-
reachd an ſeilbh, bailte[a] gu còmh-
nuidh ghabhail annta: agus bheir
ſibh mar an ceudna do na Lebhithich
fearann comh-roinn[b] d'am bailtibh
m'un cuairt orra.
3 Agus bithidh na bailtean aca gu
còmhnuidh ghabhail annta, agus bith-
idh am fearann comh-roinn air ſon an
ſpréidhe, agus air ſon am maoin, agus
air ſon an ainmhidhean uile.
4 Agus ruigidh fearann comhroinn
nam bailtean a bheir ſibh do na Le-
bhithich a mach o bhalladh a' bhaile,
mìle làmh-choille m'an cuairt.
5 Agus tomhaiſidh ſibh o'n leth a
muigh do'n bhaile air an taobh an ear
dà mhìle làmh-choille, agus air an
taobh dheas dà mhìle làmh choille,
agus air an taobh an iar dà mhìle
làmh-choille, agus air an taobh thuath
dà mhìle làmh-choille: agus *bithidh*
am baile ſa'mheadhon: bithidh ſo
dhoibh na fhearann comh-roinn d'am
bailtibh.
6 Agus am meaſg nam bailtean a
bheir ſibh do na Lebhithich, bithidh
sè bailte chum dìdein[c], a dh'orduich-
eas ſibh air a ſhon-ſan a mharbhas
duine, chum as gu'n teich e 'n ſin:
agus riu-ſan cuiridh ſibh dà bhaile 's
dà fhichead.
7 Mar ſo *is* iad na bailte ſin uile
a bheir ſibh do na Lebhithich, ochd
agus dà fhichead baile: iad ſin *bheir
ſibh ſeachad* agus am fearann comh-
roinn.
8 Agus *bithidh* na bailtean a bheir
ſibh ſeachad do ſheilbh chloinn Iſ-
raeil: uatha-ſan aig *am bheil* mòran,
bheir ſibh mòran; ach uatha-ſan aig
am bheil beagan, bheir ſibh beagan:
bheir gach aon d'a bhailtibh do na
Lebhithich, a réir 'oighreachd a ta e
ſealbhachadh.
9 Agus labhair an Tighearna ri
Maois, ag ràdh,
10 Labhair ri cloinn Iſraeil, agus
abair riu, 'Nuair a bhios ſibh air
teachd thar Iordan do thìr Chanaain,
11 An ſin orduichidh ſibh dhuibh
féin bailte, gu bhi nam bailtibh dì-
dein dhuibh, a chum gu'n teich am
marbhaich an ſin, a mharbhas neach
an ain-fhios[d].
12 Agus bithidh iad duibh nam

bailtibh

[a] *cathraiche.* [b] *iomallan fearainn, bail'-chroibhtean.* [c] *comruich,
girt.* [d] *am mearachd.*

bailtibh a chum dìdein o'n dìoghaltair[a]; a chum nach bàſaich eſan a mharbhas duine, gus an ſeas e an làthair a' choimhchruinnich ann am breitheanas.

13 Agus do na bailtibh ſin a bheir ſibh ſeachad, bithidh sè bailtean agaibh a chum dìdein.

14 Bheir ſibh ſeachad tri bailtean air an taobh ſo do Iordan, agus tri bailte bheir ſibh ſeachad ann an tìr Chanaain, *a* bhios nam bailtibh dìdein.

15 Bithidh na sè bailte ſin nan dìdein, *araon* do chloinn Iſraeil, agus do'n choigreach, agus dha-ſan a bhios air chuairt nam meaſg: a chum gu'n teich gach neach an ſin, a mharbhas duine gun fhios.

16 Agus ma bhuaileas ſe e le h-inneal iaruinn (air chor as gu'm bàſaich e) *is* mortair e: cuirear gu cinnteach am mortair gu bàs.

17 Agus ma bhuaileas ſe e le clach a thilgeadh (a dh'fheudas a bhàs a thoirt) agus gu'm bàſaich e, *is* mortair e: cuirear gu cinnteach am mortair gu bàs.

18 No *ma* bhuaileas ſe e la làmhbhall[b] fiodha (a dh'fheudas a bhàs a thoirt) agus gu'm faigh e bàs, *is* mortair e: cuirear gu cinnteach am mortair gu bàs.

19 Marbhaidh dìoghaltair na fola e féin am mortair: an uair a choinnicheas ſe e[c], marbhaidh ſe e.

20 Ach ma bheir e urchuir dha tre fhuath[d], no ma thilgeas e *ni ſam bith* air am plaidluidhe[e], air chor as gu'm faigh e bàs;

21 No ma bhuaileas ſe e le a làimh ann an naimhdeas, air chor as gu'm faigh e bàs; cuirear eſan a bhuail e gun teagamh gu bàs; *oir is* mortair e: marbhaidh dìoghaltair na fola am mortair, an uair a choinnicheas ſe e.

22 Ach [illegible] thug e urchuir dha gu h-obann gun naimhdeas, no ma thilg e ni ſam bith air gun phlaid-luidhe;

23 No le cloich ſam bith a dh' fheudas bàs duine a thabhairt, gun e 'g *a* fhaicinn, agus gu'n do thilg e air *i* air chor as gu'm faigh e bàs, agus gun a chron iarraidh:

24 An ſin bheir an coimhchruinneach breth eadar am marbhaich agus dìoghaltair na fola, a réir nam breitheanas ſin.

25 Agus ſaoraidh an coimhchruinneach am marbhaiche a làimh dìoghaltair na fola, agus cuiridh an coimhchruinneach air 'ais[f] e do bhaile a dhìdein, gus an do theich e: agus fanaidh e ann gu bàs an ard-ſhagairt, a dh'ungadh leis an ola naomha.

26 Ach ma thig am marbhaiche uair air bith an taobh a mach do chrìch baile a dhìdein, gus an do theich e;

27 Agus gu'm faigh dìoghaltair na fola e an taobh a mach do chrìochaibh baile a dhìdein, agus gu'm marbh dìoghaltair na fola a'm marbhaiche: cha bhi e ciontach do fhuil:

28 A chionn gu'm bu chòir dha fuireach ann am baile a dhìdein gu bàs an ard-ſhagairt; ach an déigh bàis an ard-ſhagairt, pillidh am marbhaiche gu fearann a ſheilbhe féin.

29 Agus bithidh na *nithe* ſin nan reachd breitheanais dhuibh, air feadh bhur ginealacha nar n-àitibh-còmhnuidh uile.

30 Ge b'e mharbhas neach ſam bith, cuirear am mortair gu bàs le beul[g] fhianuiſean: ach cha dthoir aon fhianuis teiſteas an aghaidh neach ſam bith *a chum a chur* gu bàs.

31 Agus cha ghabh ſibh éiric ſam bith air ſon anma mortair, a tha ciontach do bhàs; ach cuirear gu cinnteach gu bàs e.

32 Agus cha ghabh ſibh éiric ſam bith air a ſhon-ſan a theich do bhaile a dhìdein, a chum as gu'n dthigeadh e rìs a ghabhail còmhnuidh ſas fhearann, gu bàs an t-ſagairt.

33 Mar ſin cha truaill ſibh am fearann anns *am bheil* ſibh: oir truaillidh fuil am fearann, agus cha 'n'eil e 'n comas am fearann a ghlanadh do'n fhuil a dhoirteadh ann, ach le fuil an tì a dhòirt i.

34 Na ſalaichibh uime ſin am fearann

[a] *o fhear-na folachd.* [b] *làmh-arm.* [c] *thachaireas e air.* [d] *o ghallaanas.* [e] *le fàth-fheitheamh, le rùn mealltach.* [f] *aiſiocaidh an coimhchruinneach.* [g] *o bhriathraibh.*

fearann anns am bi ſibh a chòmhnuidh, anns am bheil miſe a'm' chòmhnuidh: a chionn gu bheil miſe an Tighearn a'm' chòmhnuidh am meadhon chloinn Iſraeil.

CAIB. XXXVI.

AGUS thàinig priomh aithreacha theaghlaiche chloinn Ghilead, mhic Mhachir, mhic Mhanaſeh, do theaghlaichibh mhac Ioſeiph, am fagus, agus labhair iad an làthair Mhaois, agus an làthair nan ceannard, *eadhon* phriomh aithreacha chloinn Iſraeil:

2 Agus thubhairt iad, Dh'àithn an Tighearna do m' thighearn am fearann a thoirt mar oighreachd le crannchur do chloinn Iſraeil, agus dh'àithneadh do m' thighearna leis an Tighearn, oighreachd ar bràthar Shelophehaid a thoirt d'a nigheanaibh.

3 Agus ma phòſar iad ri h-aon do mhic nan treubh *eile* do chloinn Iſraeil, an ſin bheirear an oighreachd-ſan o oighreachd ar n-aithreacha, agus cuirear i ri oighreachd na tréibh d'an gabhar iad: mar ſin bheirear i o chrannchur ar n-oighreachd-ne.

4 Agus an uair a bhios an iubile [a] ann do chloinn Iſraeil, an ſin cuirear an oighreachd ri oighreachd na tréibh gus an do ghabhadh iad: mar ſin bheirear an oighreachd-ſan air falbh o oighreachd thréibh ar n-aithreacha.

5 Agus dh'àithn Maois do chloinn Iſraeil, a réir focail an Tighearna, ag ràdh, Is ceart a labhair treubh mhac Ioſeiph.

6 *Is* e ſo an ni a dh'àithn an Tighearna thaobh nigheana Shelophehaid, ag ràdh, Pòſadh iad an neach a's àill leo; a mhàin ri teaghlach thréibh an aithreacha pòſaidh iad:

7 Mar ſin cha'n atharraich oighreachd chloinn Iſraeil o thréibh gu tréibh: oir dlùth-leanaidh gach duine do chloinn Iſraeil ri oighreachd tréibh 'aithreacha.

8 Agus bithidh gach nighean a ſhealbhaicheas oighreachd ann an tréibh ſam bith do chloinn Iſraeil, na mnaoi aig aon do theaghlach tréibh a h-athar, a chum gu meal clann Iſraeil gach duine dhiubh oighreachd 'aithreacha.

9 Ni mò dh'atharraicheas an oighreachd o *aon* tréibh gu tréibh eile; ach dlùth-leanaidh gach duine do threubhaibh chloinn Iſraeil r'a oighreachd féin.

10 Eadhon mar a dh'àithn an Tighearna do Mhaois, mar ſin rinn nigheana Shelophehaid:

11 Oir phòſadh Mahlah, Tirſah, agus Hoglah, agus Milcah, agus Noah, nigheana Shelophehaid, ri mic bhràthar an athar.

12 Phòſadh iad *ri fir* do theaghlaichibh mhac Mhanaſeh mhic Ioſeiph, agus dh'fhan an oighreachd ann an treubh teaghlaich an athar.

13 *Is* iad ſin na h-àitheantan, agus na breitheanais, a dh'àithn an Tighearna le làimh Mhaois, do chloinn Iſraeil ann an còmhnardaibh Mhoaib, làimh ri Iordan *am fagus do* Iericho.

[a] *bliadhna mhaitheanais.*

DEUTERONOMI.

CAIB. I.

IS iad so na briathran a labhair
Maois ri Israel uile, air an taobh
so do Iordan san fhàsach, anns a'
chòmhnard fa chomhair na mara
ruaidhe, eadar Paran, agus Tophel,
agus Laban, agus Haseroth, agus Disa-
hab.
2 (*Tha astar* aon là deug o Horeb
rathad shléibh Sheir, gu Cades-barnea.)
3 Agus anns an dà fhicheadamh
bliadhna, anns an aon mhìos deug, air
a' cheud là do'n mhìos, labhair Maois
ri cloinn Israeil, a réir nan uile *nithe* a
dh'àithn an Tighearna dha d'an
taobh;
4 An déigh dha Sihon righ nan
Amorach a mharbhadh, a bha chòmh-
nuidh ann an Hesbon, agus Og righ
Bhasain, a *bha* chòmhnuidh aig Astarot
ann an Edrei,
5 Air an taobh so do Iordan, ann
an tìr Mhoaib, thòisich Maois air an
lagh so chur an céill, ag ràdh,
6 Labhair an Tighearn ar Dia
ruinn ann an Horeb, ag ràdh, Ghabh
sibh còmhnuidh fada gu leòr san
t-sliabh so:
7 Pillibh agus gabhaibh bhur turus,
agus rachaibh a chum sléibh nan
Amorach, agus a chum nan *ionadan*
uile am fagus da anns a' chòmhnard [a],
anns a' mhonadh, agus anns an t-srath,
agus mu dheas, agus ri taobh na
fairge, gu fearann nan Canaanach,
agus gu Lebanon, a dh'ionnsuidh na
h-aibhne mòire, aibhne Euphrates.
8 Feuch, chuir mi 'n tìr romhaibh;
rachaibh a steach, agus sealbhaichibh
am fearann a mhionnaich an Tighearna
d'ar n-aithreachaibh, Abraham, Isaac,
agus Iacob, gu'n d' thugadh e dhoibh
e, agus d'an sliochd nan déigh.
9 Agus labhair mi ribh san àm sin,
ag ràdh, Cha 'n urrainn mise bhur
giulan a'm' aonar:
10 Rinn an Tighearna bhur Dia
lìonmhor sibh, agus feuch, *tha* sibh an
diugh mar reulta nèimh a thaobh
lìonmhoireachd.
11 (Gu deanadh an Tighearna,
Dia bhur n-aithreacha, sibh mìle uair
ni's lìonmhoire na *tha* sibh, agus gu'm
beannaicheadh e sibh mar a gheall e
dhuibh.)
12 Cionnus is urrainn mise leam
féin bhur dragh a ghiùlan, agus bhur
n-eallach, agus bhur comh-stri.
13 Gabhaibhse dhuibh féin daoine
glic agus tuigseach [b], agus aithnichte
'nar treubhaibh, agus ni mise iad nan
ceannardan oirbh.
14 Agus fhreagair sibh mi, agus
thubhairt sibh, *Tha* an ni a labhair
thu math dhuinne r'a dheanamh.
15 Agus ghabh mi cinn bhur treubh,
daoine glic, agus aithnichte, agus rinn
mi iad nan ceannardaibh oirbh, nan
uachdaranaibh mhìlte, agus nan uach-
daranaibh cheuda, agus nan uach-
daranaibh leth-cheuda, agus nan uach-
daranaibh dheichnear, agus nan luchd-
riaghlaidh am measg bhur treubhan.
16 Agus dh'àithn mi d'ar breith-
eamhnaibh san àm sin, ag ràdh,
Eisdibh ris *na cùisean a bhios* eadar
bhur bràithre, agus thugaibh breth
cheart eadar *gach* duine agus a bhrà-
thair, agus an coigreach *a ta* maille
ris.

17 Cha

[a] *anns an fhàsach.* [b] *maithean, ard dhaoine.*

17 Cha bhi suim agaibh do neach seach a' chéile ann am breitheanas; ris a' bheag éisdidh sibh co mhath is ris a' mhòr; cha bhi athadh[a] oirbh roimh ghnùis duine, oir *is* le Dia a' bhreth: agus a' chùis a bhios ro-chruaidh oirbh, bheir sibh a'm' ionnsuidhs', agus éisdidh mise rithe.

18 Agus dh'àithn mi dhuibh san àm sin na h-uile nithe bu chòir dhuibh a dheanamh.

19 Agus an uair a dh'fhalbh sinn o Horeb, chaidh sinn tre 'n fhàsach mhòr agus 'uamhasach sin uile, a chunnaic sibh air slighe sléibh nan Amorach, a réir mar a dh'àithn an Tighearn ar Dia dhuinn; agus thàinig sinn gu Cades-barnea.

20 Agus thubhairt mi ribh, Tha sibh air teachd gu sliabh nan Amorach, a *tha* 'n Tighearn ar Dia a' toirt duinn.

21 Feuch, chuir an Tighearna do Dhia am fearann romhad, imich suas, sealbhaich *e*, a réir mar a thubhairt an Tighearna Dia t-aithreacha riut; na biodh eagal ort, agus na biodh faitcheas[b] ort.

22 Agus thàinig sibh am fagus domhsa gach aon agaibh, agus thubhairt sibh, Cuireamaid daoine romhainn, agus rannsaicheadh iad a mach dhuinn am fearann, agus thugadh iad fios d'ar n-ionnsuidh a rìs ciod an t-slighe air an dthéid sinn suas, agus ciod na bailte gus an dthig sinn.

23 Agus thaitinn a' chainnt rium gu math; agus ghabh mi dà fhear dheug dhibh, aon fhear as *gach* tréibh.

24 Agus thionndaidh iad agus chaidh iad suas do'n t-sliabh, agus thàinig iad gu gleann Escoil, agus rannsaich iad a mach e.

25 Agus ghabh iad nan làimh do thoradh an fhearainn, agus thug iad a nuas e d'ar n-ionnsuidhne, agus thug iad fios duinn a rìs, agus thubhairt iad, *Is* math am fearann a tha 'n Tighearn ar Dia a' tabhairt dhuinn.

26 Gidheadh, cha b'àill leibh[c] dol suas, ach chuir sibh[d] an aghaidh àithne an Tighearna bhur Dé.

27 Agus rinn sibh gearan 'nar bùthaibh, agus thubhairt sibh, A chionn gu'm b'fhuathach leis an Tighearna sinn, thug e mach sinn a tìr na h-Eiphit, gu'r toirt thairis an làimh nan Amorach, a chur as duinn.

28 C'àit' an dthéid sinn suas? Chuir ar bràithrean ar cridhe fuidh mhi-mhisnich, ag ràdh, *Tha* 'n sluagh ni's mò agus ni's airde na sinne, *tha* na bailtean mòra, agus daingnichte suas gu nèamh, agus os-barr[e], chunnaic sinn mic nan Anacim an sin.

29 An sin thubhairt mi ribh, Na biodh geilt oirbh, no eagal rompa.

30 An Tighearna bhur Dia a tha dol romhaibh, cogaidh esan air bhur son, a réir nan uile nithe a rinn e air bhur son san Eiphit fa chomhair bhur sùl,

31 Agus anns an fhàsach, far am faca tu cionnus a ghiùlain an Tighearna do Dhia thu, mar a ghiùlaineas duine a mhac, san t-slighe *sin* uile air an deachaidh sibh, gus an d'thàinig sibh do'n àite so.

32 Gidheadh san ni so cha do chreid sibh an Tighearna bhur Dia,

33 A dh'imich romhaibh san t-slighe a rannsachadh a mach àite dhuibh gus ar bùthan a shuidheachadh *ann*, ann an teine san oidhche a nochdadh dhuibh ciod an t-slighe air an imicheadh sibh, agus ann an neul san là.

34 Agus chual' an Tighearna fuaim bhur briathra, agus bha corruich air, agus mhionnaich e, ag ràdh,

35 Gu cinnteach cha'n fhaic a h-aon do dhaoinibh[f] a' ghinealaich uile so am fearann math sin, a mhionnaich mise gu'n dthugainn d'ar n-aithreachaibh;

36 Saor o Chaleb mac Iephuneh; chi esan e, agus dhasan bheir mi am fearann air an do shaltair e, agus d'a chloinn, a chionn gu'n do lean e 'n Tighearna gu h-iomlan.

37 Mar an ceudna bha [illegible] aig an Tighearna riumsa air bhur sgàth, ag ràdh, Cha dthéid thusa féin a steach an sin.

38 *Ach* Iosua mac Nun, a tha na sheasamh

[a] *eagal.* [b] *mi-mhisneach.* [c] *cha bu toil leibh.* [d] *sheas sibh a mach, rinn sibh ar' a mach.* [e] *a bhàrr air sin.* [f] *do dhaoinibh sin.* Eabh.

sheasamh a'd' làthair, théid esan a steach an sin. Thoir misneach dha: oir bheir e air Israel a shealbhachadh.

39 Agus bhur leanbana [a], a thubhairt sibh gu'm biodh iad nan creich, agus bhur clann [b] aig nach robh san là ud eolas air math seach olc, théid iadsan a steach an sin, agus dhoibhsan bheir mi e, agus sealbhaichidh iad *e*.

40 Ach air bhur sonsa, pillibh, agus gabhaibh bhur turus do'n fhàsach, air slighe na mara ruaidhe.

41 An sin fhreagair sibh agus thubhairt sibh rium, Pheacaich sinn an aghaidh an Tighearna, théid sinn suas agus cogaidh sinn a réir nan uile *nithe* a dh'àithn an Tighearn ar Dia dhuinn. Agus chriosraich sibh oirbh gach fear agaibh 'airm chogaidh, agus bha sibh ullamh gu dol suas do'n t-sliabh.

42 Agus thubhairt an Tighearna rium, Abair riu, Na rachaibh suas, agus na cogaibh, oir cha 'n'eil mise 'nar measg; an t-eagal gu'm buailear [c] sibh an làthair bhur naimhdean.

43 Mar so labhair mi ribh, agus cha'n éisdeadh sibh, ach rinn sibh ceannairc an aghaidh àithne an Tighearna, agus chaidh sibh gu h-an-dàna suas do'n t-sliabh.

44 Agus thàinig na h-Amoraich, a bha chòmhnuidh san t-sliabh sin, a mach 'nar n-aghaidh, agus ruag iad sibh mar a ni beachan, agus chuir iad as duibh ann an Seir, *eadhon* gu Hormah.

45 Agus phill sibh, agus ghuil sibh an làthair an Tighearna; ach cha 'n éisdeadh an Tighearna r'ar guth, agus cha dthugadh e cluas duibh.

46 Mar sin dh'fhan sibh ann an Cades mòran laithean, a réir nan laithean a dh'fhan sibh *an sin*.

CAIB. II.

AN sin phill sinn, agus ghabh sinn ar turus do'n fhàsach, air slighe na mara ruaidhe, mar a labhair an Tighearna riumsa; agus chuairtich sinn sliabh Sheir mòran laithean.

2 Agus labhair an Tighearna rium, ag ràdh,

3 Chuairtich sibh an sliabh so fada gu 'leòr: pillibh ri tuath.

4 Agus àithn thusa do'n t-sluagh, ag ràdh, *Tha* sibh gu dol tre chrich bhur bràithre cloinn Esau, a ta chòmhnuidh ann an Seir, agus bithidh eagal orra romhaibh: ach thugaibh aire mhath dhuibh féin.

5 Na beanaibh riu [d]; oir cha dthoir mi *bheag* d'am fearann duibh, *cha dthoir* uiread leud troidhe, a chionn gu'n d'thug mi sliabh Sheir a dh'Esau mar sheilbh.

6 Ceannachaidh sibh biadh uatha le h-airgiod, a chum gu'n ith sibh; agus mar an ceudna ceannachaidh sibh uisge uatha le h-airgiod, a chum gu'n òl sibh.

7 Oir bheannaich an Tighearna do Dhia thu ann an uile oibribh do làimh: is aithne dha do thriall tre 'n fhàsach mhòr so: rè an dà-fhichead bhliadhna so *bha* 'n Tighearna do Dhia maille riut, cha robh uireasbhuidh ni sam bith ort.

8 Agus an uair a chaidh sinn seachad o'r bràithribh cloinn Esau, a bha chòmhnuidh ann an Seir tre shlighe a' chòmhnaird o Elat, agus o Esiongaber, phill sinn agus chaidh sinn seachad air slighe fàsaich Mhoaib.

9 Agus thubhairt an Tighearna rium, Na buin gu naimhdeil ris na Moabaich [e], agus na dean strì' riu ann an cath: oir cha dthoir mi dhuit *a' bheag* d'am fearann mar sheilbh, a chionn gu'n d'thug mi Ar do chloinn Lot mar sheilbh.

10 Bha na h-Emich roimhe a chòmhnuidh ann, sluagh mòr, agus lìonmhor, agus ard mar na h-Anacim;

11 A mheasadh mar an ceudna nam famhairean [f] mar na h-Anacim, ach thug na Moabaich Emich mar ainm orra.

12 Bha mar an ceudna na Horaich a chòmhnuidh roimhe sin ann an Seir, ach thàinig clann Esau nan déigh, agus chuir iad as doibh as an sealladh, agus ghabh iad còmhnuidh nan àite, mar a rinn Israel ri fearann a sheilbh-san, a thug an Tighearna dhoibh.

13 A

[a] *clann bheag.* [b] *mic.* Eabh. [c] *gu'n leagar.* [d] *Na cogaibh riu.* [e] *Na dean tuair-eigneadh air na Moabaich.* [f] *athaich, curaidhean.*

13 A nis éiribh suas, *thubhairt mise*, agus rachaibh thar sruth Shered; agus chaidh sinn thar sruth Shered.

14 Agus b'i 'n ùin anns an d'thàinig sinn o Chades-barnea, gus an deachaidh sinn thar sruth Shered, ochd bliadhna deug thar fhichead; gus an robh gin-ealach an t-sluaigh-chogaidh uile air an caitheamh a mach o mheasg an t-slòigh [a], mar a mhionnaich an Tighearna dhoibh.

15 Oir da rìreadh bha làmh an Tighearna nan aghaidh, gu'n sgrios o mheasg an t-slòigh, gus an do chlaoidh-eadh iad.

16 Agus tharla, 'nuair a bha na fir-chogaidh uile air an claoidh agus air bàsachadh o mheasg an t-sluaigh,

17 Gu'n do labhair an Tighearna rium, ag ràdh,

18 Tha thu gu dol thairis an diugh tre Ar, crìoch Mhoaib.

19 Agus *an uair* a thig thu 'm fagus thall fa chomhair chloinn Amoin, na buin gu naimhdeil riu, ni mò a bheanas tu riu: oir cha dthoir mi dhuit sealbh sam bith do fhearann chloinn Amoin, a chionn gu'n d'thug mi e do chloinn Lot mar shealbh.

20 (Mheasadh sin mar an ceudna na fhearann fhamhairean; ghabh famhairean còmhnuidh ann san t-sean aimsir, agus thug na h-Amonaich Samsummaich mar ainm orra;

21 Sluagh mòr agus lìonmhor, agus ard mar na h-Anacim; ach sgrios an Tighearna iad rompa, agus thàinig iad nan déigh, agus ghabh iad còmh-nuidh nan àite:

22 Mar a rinn e ri cloinn Esau a bha chòmhnuidh ann an Seir, an uair a sgrios e na Horaich rompa; agus thàinig iad nan déigh, agus ghabh iad còmhnuidh nan àite eadhon gus an à 'n diugh:

23 Agus na Habhaich a bha chòmh-nuidh ann an Haserim, *eadhon* gu Hadsah, sgrios na Caphtoraich a thàinig a mach a Caphtor iad, agus ghabh iad còmhnuidh nan àite.)

24 Eiribh suas, gabhaibh bhur turus, agus rachaibh thar sruth [b] Arnoin: feuch, thug mi do d' làimh Sihon an t-Amorach righ Hesboin, agus 'fhear-ann: tòisich air *a* shealbhachadh, agus dean strì' ris an cath.

25 Air an là 'n diugh tòisichidh mi air t'uamhann-sa agus t'eagal a chur air na cinnich *a ta* fuidh nèamh uile, a chluinneas iomradh ort; agus criothnaichidh iad, agus bithidh cràdh [c] orra a'd' làthair.

26 Agus chuir mi teachdairean a fàsach Chedemot gu Sihon righ Hes-boin, le briathraibh sìth, ag ràdh,

27 Leig dhomh gabhail troimh t'fhearann: imichidh mi romham air an rathad mhòr, cha tionndaidh mi aon chuid a chum na làimhe deise, no chum na làimhe clìthe.

28 Biadh air son airgid reicidh tu rium, a chum as gu'n ith mi, agus uisge air son airgid bheir thu dhomh, a chum as gu'n òl mi; a mhàin imich-idh mi romham do m' chois:

29 (Mar a rinn clann Esau rium, a tha chòmhnuidh ann an Seir, agus na Moabaich a tha chòmhnuidh ann an Ar) gus an dthéid mi thar Iordan, do'n fhearann a *tha* 'n Tighearn ar Dia toirt duinn.

30 Ach cha leigeadh Sihon righ Hesboin leinn dol troimh '*fhearann*: oir chruadhaich an Tighearna do Dhia a spiorad, agus rinn e 'chridhe rag [d], a chum gu'n dthugadh *e* thairis e do d' làimh, mar *a chìthear* air an la 'n diugh.

31 Agus thubhairt an Tighearna rium, Feuch, thòisich mi air Sihon agus 'fhearann a thoirt thairis a'd' fhianuis: gabh sealbh [e], a chum as gu'm bi 'fhearann agad mar oigh-reachd.

32 An sin thàinig Sihon a mach 'nar n-aghaidh, e féin, agus a shluagh uile, a chogadh aig Iahas.

33 Agus thug an Tighearna ar Dia thairis e romhainn, agus bhuail sinn e féin, agus a mhic, agus a shluagh uile.

34 Agus ghlac sinn a bhailtean [f] uile san àm sin, agus sgrios sinn gu tur fir, agus mnài, agus clann bheag gach

[a] *a' chaimp.* Eabh. [b] *ghbhuinn.* [c] *àmghar; iomghuin.* [d] *reasgach, do-lùbaidh.* [e] *tòisich, sealbhaich.* Eabh. [f] *a mhòr-bhailtean, a chaithrichean.*

gach baile; cha d'fhàg sinn a h-aon a
làthair [a]:
35 A mhàin ghabh sinn duinn féin
an spréidh mar chobhartach, agus
creach nam bailtean a ghlac sinn.
36 O Aroer, a *ta* air bruaich shruth
Arnoin, agus *o'n* bhaile a *ta* làimh ris
an t-sruth, eadhon gu Gilead, cha
robh aon bhaile tuille 's làidir air ar
son: thug an Tighearn ar Dia *iad*
uile thairis duinn.
37 A mhàin gu fearann chloinn
Amoin cha d'thàinig thu, *no* gu àite
sam bith *am fagus* do shruth [b] Iaboic,
no gus *na* bailtibh *am measg* nam beann,
no gu *àite* sam bith a thoirmisg an
Tighearn ar Dia dhuinn.

CAIB III.

AN sin phill sinn, agus chaidh
sinn suas air an t-slighe gu Ba-
san: agus thàinig Og righ Bhasain a
mach nar n-aghaidh, e féin agus a
shluagh uile, gu cath aig Edrei.
2 Agus thubhairt an Tighearna
riumsa, Na biodh eagal ort roimhe:
oir do d' làimh-sa bheir mise thairis e
féin, agus a shluagh uile, agus 'fhearann,
agus ni thu ris mar a rinn thu ri
Sihon righ nan Amorach, a bha chòmh-
nuidh aig Hesbon.
3 Mar sin thug an Tighearn ar
Dia thairis d'ar làimh-ne mar an
ceudna Og righ Bhasain, agus a shluagh
uile: agus bhuail sinn e gus nach
d'fhàgadh a h-aon beo aige.
4 Agus ghlac sinn a bhailtean uile
san àm sin, cha robh baile nach d'thug
sinn uatha, tri fichead baile, dùthaich
Argoib uile, rìoghachd Og ann am
Basan.
5 *Bha* na bailte sin uile air an
daingneachadh le balladh ard, *le*
geataibh agus *le* crannaibh, a thuilleadh
air bailtibh gun bhalla, ro-mhòran.
6 Agus sgrios sinn gu tur iad, mar
a rinn sinn air Sihon righ Hesboin, a'
léir-sgrios fhear, bhan, agus cloinne
gach baile.
7 Ach ghabh sinn an spréidh uile,
agus creach nam bailte mar chobhartach
dhuinn féin.
8 Agus thug sinn san àm sin a
làimh dà righ nan Amorach, am
fearann a *ta* air an taobh so do Iordan,
o shruth Arnoin gu sliabh Hermoin:
9 (Thug na Sidonaich Sirion mar
ainm air Hermon: agus thug na h-
Amoraich Senir mar ainm air)
10 Bailtean a' chòmhnaird [c] uile,
agus Gilead uile, agus Basan uile,
gu Salcha agus Edrei, bailtibh rìogh-
achd Og ann am Basan:
11 Oir bha Og righ Bhasain a
mhàin a làthair do fhuigheall nam
famhairean; feuch, a leaba, *bu* leabadh
iaruinn i: nach *'eil* i ann an Rabat
chloinn Amoin? *b'*iad naoi làmh-
choille a fad, agus ceithir làmha-coille
a leud, a réir làimh-choille duine.
12 Agus am fearann so *a* shealbh-
aich sinn san àm sin, o Aroer a *ta*
làimh ri sruth Arnoin, agus leth sléibh
Ghilead, agus a bhailte thug mi do na
Reubenich, agus do na Gadaich.
13 Agus a' chuid eile do Ghilead,
agus Basan uile, *eadhon* rioghachd Og,
thug mi do leth-thréibh Mhanaseh;
dùthaich Argoib uile, maille ri Basan
uile, d'an ainm [d] fearann nam famh-
airean.
14 Ghabh Iair mac Mhanaseh
dùthaich Argoib uile gu crìochaibh
Ghesuri, agus Mhaachati; agus thug
e Basan-Habhot-Iair mar ainm oirre a
réir 'ainme féin, gus an la'n diugh.
15 Agus thug mi Gilead do Mha-
chir.
16 Agus do na Reubenich, agus do
na Gadaich, thug mi o Ghilead eadhon
gu sruth Arnoin, leth a' ghlinne, agus
an t-iomall, eadhon gus an sruth Iaboc,
crìoch chloinn Amoin:
17 An còmhnard mar an ceudna,
agus Iordan, agus *a* chrìocha, o Chi-
neret eadhon gu muir a' chòmhnaird,
a' mhuir shaillte, fuidh Asdot-pisgah a
làimh na h-aird' an ear.
18 Agus dh'àithn mi dhuibh san
àm sin, ag ràdh, Thug an Tighearna
bhur Dia dhuibh am fearann so r'a
shealbhachadh: théid sibh a nunn fo'r
n-armaibh roimh bhur bràithre clann
Israeil, gach neach *a ta* foghainteach a
chum cogaidh.
19 Ach fanaidh bhur mnài, agus
bhur clann bheag, agus bhur spréidh,
(*oir* is aithne dhomh gu *'m bheil* mò-
ran spréidh agaibh,) 'nar bailtibh a
thug mi dhuibh,

20 Gus

[a] *beò.* [b] *abhuinn.* [c] *a' chònaird.* [d] *d'an goirear.*

20 Gus an d'thoir an Tighearna fois d'ar bràithribh co mhath agus dhuibhse, agus *gus* an sealbhaich iadsan mar an ceudna am fearann a thug an Tighearna bhur Dia dhoibh an taobh thall do Iordan: agus *an sin* pillidh gach duine agaibh g'a shealbh a thug mi dhuibh.

21 Agus dh'àithn mi do Iosua san àm sin, ag ràdh, Chunnaic do shùile na h-uile nithe a rinn an Tighearna bhur Dia ris an dà righ sin: mar sin ni an Tighearna ris na rioghachdaibh uile gus *am bheil* thu dol.

22 Cha bhi eagal oirbh rompa: oir cogaidh an Tighearna bhur Dia e féin air bhur son.

23 Agus ghuidh mi air an Tighearna san àm sin, ag ràdh,

24 O Thighearna Dhé, thòisich thu air do mhòrachd, agus do làmh chumhachdach a nochdadh do d' òglach: oir cò an Dia air nèamh no air talamh, a's urrainn a dheanamh a réir t'oibre-sa, agus a réir du chumhachd-sa?

25 Guidheam ort, leig dhomh dol thairis, agus am fearann math sin fhaicinn a *tha* 'n taobh thall do Iordan, an sliabh math sin, agus Lebanon.

26 Ach bha fearg air an Tighearna rium air bhur son-sa, agus cha d'éisd e rium: agus thubhairt an Tighearna rium, Gu ma leòr leat e, na labhair ni's mò rium mu'n chùis so.

27 Falbh suas gu mullach Phisgaih, agus tog suas do shùile ris an aird' an iar agus ris an airde tuath, agus ris an airde deas, agus ris an aird' an ear, agus amhairc le d' shùilibh [a]; oir cha d'théid thu thar Iordan so.

28 Ach thoir àithne do Iosua, agus thoir misneach dha, agus neartaich e: oir théid esan thairis roimh an t-sluagh so, agus bheir e orra am fearann sin a chi thusa, a shealbhachadh mar oighreachd.

29 Mar sin ghabh sinn còmhnuidh sa' ghleann thall sa chomhair Bhet-peoir.

CAIB. IV.

ANIS uime sin éisd, O Israel, ris na reachdaibh, agus ris na breitheanais a *tha* mise a' teagasg dhuibh a dheanamh, a chum as gu'm bi sibh beo, agus gu'n d'théid sibh a steach agus gu'n sealbhaich sibh am fearann a bheir an Tighearna Dia bhur n-aithreacha dhuibh.

2 Cha chuir sibh a' bheag ris an fhocal a *tha* mise ag àithneadh dhuibh, ni mò a bheir sibh ni sam bith uaith, a chum as gu'n gléidh sibh àitheantan an Tighearna bhur Dé, a *tha* mise ag àithneadh dhuibh.

3 Chunnaic bhur sùile ciod a rinn an Tighearna thaobh Bhaal-peoir: oir na daoine sin uile a lean Baal-peor, sgrios an Tighearna bhur Dia iad as bhur measg.

4 Ach *tha* sibhse a lean ris an Tighearna bhur Dia, beo gach aon agaibh air an là'n diugh.

5 Feuch, theagaisg mi dhuibh reachdan agus breitheanais, eadhon mar a dh'àithn an Tighearna mo Dhia dhomh, a chum as gu'n deanadh sibhse mar sin anns an fhearann gus am bheil sibh a' dol g'a shealbhachadh.

6 Uime sin gleidhibh agus deanaibh *iad*, oir *is* e so bhur gliocas agus bhur tuigse ann an sealladh nan cinneach, a chluinneas na reachda sin uile, agus a their, Gu cinnteach *is* sluagh glic agus tuigseach an cinneach mòr so.

7 Oir cia e an cinneach *co* mhòr, aig *am bheil* Dia am fagus doibh, mar a *ta* 'n Tighearna ar Dia-ne sna h-uile *nithibh* air son am bheil sinne a' gairm air?

8 Agus cia an cinneach *co* mhòr, aig am bheil reachdan agus breitheanais *co* cheart ris an lagh so uile, a *tha* mise a' cur romhaibh air an là 'n diugh?

9 A mhàin thoir an aire dhuit féin, agus gléidh t'anam gu dìchiollach, air eagal [b] gu'n dichuimhnich thu na nithe sin a chunnaic do shùilean, agus air eagal gu'n dealaich iad ri d' chridhe uile laithean do bheatha: ach teagaisg iad do d' mhic, agus do mhic do mhac:

10 *Gu h-àraidh* an là a sheas thu an làthair an Tighearna do Dhé ann an Horeb, an uair a thubhairt an Tighearna riumsa, Tionail thugam [c] an sluagh r'a chéile, agus bheir mi

orra

[a] *fcall, beachdaich* air. [b] *an t-eagal.* [c] *chugam.*

erra mo bhriathran a chluinntinn, a chum gu fòghlum iad eagal a ghabhail romham rè nan uile laithean *a bhios* iad beo air an talamh, agus *gu'n* teagaisg iad an clann.

11 Agus thàinig sibh am fagus, agus sheas sibh fuidh 'n t-sliabh [a]; agus bha 'n sliabh a' losgadh le teine gu meadhon nèimh, maille ri dùbhre, neoil, agus dubh dhorchadas.

12 Agus labhair an Tighearna ribh a meadhon an teine: chuala sibh guth nam briathra, ach coslas sam bith cha 'n fhaca sibh, a mhàin *chuala sibh* guth.

13 Agus chuir e 'n céill duibh a choimhcheangal, a dh'àithn e dhuibh a choimhlionadh, *eadhon* deich àitheanta, agus sgriobh e iad air dà chlàr chloiche.

14 Agus dh'àithn an Thighearna dhomhsa san àm sin, reachdan agus breitheanais a theagasg dhuibh, a chum gu 'n deanadh sibh iad anns an fhearann a théid sibh a nunn g'a shealbhachadh.

15 Thugaibh uime sin an aire mhath dhuibh féin; (oir cha'n fhaca sibh gnè coslais sam bith anns an là *air* an do labhair an Tighearna ribh ann an Horeb, a meadhon an teine;)

16 Air eagal gu'n truaill sibh sibh féin, agus gu'n dean sibh dhuibh féin dealbh snaidhte, coslas riochd air bith, coslas fir no mnà,

17 Coslas ainmhidh sam bith a *tha* air an talamh, coslas eoin sgiathaich air bith a dh'itealaicheas san athar,

18 Coslas ni sam bith a shnàigeas air an làr, coslas éisg air bith a *tha* sna h-uisgibh fuidh'n talamh;

19 Agus air eagal gu'n tog thu suas do shùile ri nèamh, agus an uair a chi thu ghrian, agus a' ghealach, agus na reulta, *eadhon* slòigh nèimh uile, gu'n tairngear thu gu cromadh sìos dhoibh, agus gu aoradh a dheanamh dhoibh, a roinn [c] an Tighearna do Dhia ris gach cinneach a ta fuidh nèamh uile.

20 Ach ghabh an Tighearna sibhse, agus thug e mach sibh às an àmhuinn iaruinn, as an Eiphit, gu bhi 'nar sluagh air son oighreachd dha féin, mar air an là 'n diugh.

21 Agus bha fearg aig an Tighearna riumsa air bhur sonsa [d], agus mhionnaich e nach rachainn thar Iordan, agus nach rachainn a steach do'n fhearann mhath sin a *tha* 'n Tighearna do Dhia a' toirt duit mar oighreachd.

22 Ach is éigin domh bàs fhaghail san fhearann so, cha dthéid mi thar Iordan; ach théid sibhse nunn, agus sealbhaichidh sibh am fearann math sin.

23 Thugaibh an aire dhuibh féin, air eagal gu'n di-chuimhnich sibh coimhcheangal an Tighearna bhur Dé, a rinn e ribh, agus gu'n dean sibh dhuibh féin dealbh snaidhte, coslas *ni* air bith a thoirmisg an Tighearna do Dhia dhuit:

24 Oir *is* teine dian-loisgeach an Tighearna do Dhia; *is* Dia eudmhor *e*.

25 'Nuair a ghineas tu clann, agus clann cloinne, agus a dh'fhanas sibh fada san fhearann, agus a thruailleas sibh *sibh féin*, agus a ni sibh dealbh snaidhte, coslas *ni* sam bith, agus a ni sibh olc ann an sealladh an Tighearna do Dhé, agus a bhrosnaicheas sibh e gu feirg:

26 Gairmeam nèamh agus talamh mar fhianuis 'nar n-aghaidh air an là 'n diugh, gu'n dthig léir-sgrios oirbh gu h-aithghearr as an fhearann a chum am bheil sibh dol thar Iordan g' a shealbhachadh: cha bhuanaich sibh bhur làithean air, ach sgriosar sibh gu tur.

27 Agus sgapaidh an Tighearna sibh am measg nan cinneach agus fàgar sibh tearc an àireamh am measg nan cinneach, far an dthoir an Tighearna sibh.

28 Agus an sin ni sibh seirbhis do dhéibh, obair làmha dhaoine, fiodh agus clach, nach faic, agus nach cluinn, agus nach ith, agus nach gabh fàile.

29 Ach ma dh'iarras tu 'n Tighearna do Dhia as sin, amaisidh tu air, ma dh'iarras tu e le d' uile chridhe agus le d uile anam.

30 'Nuair

[a] *fuidh 'n bheinn.* Eabh.
[c] *a phàirtich, a thug.*
[d] *air son bhur briathrasa.*

30 'Nuair a bhios tu ann an àmh-
ghar, agus a thig na nithe sin uile ort
sna laithibh deireannach, ma philleas
tu chum an Tighearna do Dhé, agus
ma bhios tu ùmhal d'a ghuth ;
31 (Oir *is Dia* tròcaireach an
Tighearna do Dhia-sa) cha tréig e thu,
ni mò a sgriosas e thu, no dhi-chuimh-
nicheas e coimhcheangal t'aithreacha,
a mhionnaich e dhoibh.
32 Oir fiosraich a nis do na laithibh
a chaidh seachad, a bha romhad, o'n
là air an do chruthaich Dia an duine
air an talamh, agus *fiosraich* o aon
iomall do nèamh gus an t-iomall eile,
an robh riamh *ni sam bith* ann mar an
ni mòr so, no'n cualas *ni* cosmhuil
ris ?
33 An cuala sluagh *sam bith* guth
Dhé a' labhairt a meadhon an teine,
mar a chuala tusa, agus an do mhair
iad beo ?
34 No 'n d'fheuch Dia [a] ri dol gu
cinneach a ghabhail da féin o mheasg
cinnich *eile*, le deuchainnibh [b], le
comharaibh, agus le h-iongantasaibh,
agus le cogadh, agus le làimh
chumhachdaich, agus le gàirdean sinte
mach, agus le h-uamhasaibh mòra, a
réir nan uile nithe a rinn an Tigh-
earna bhur Dia air bhur son san
Eiphit fa chomhair bhur sùl ?
35 Dhuitse nochdadh e, chum gu'm
biodh fios agad gur e 'n Tighearn *a's*
Dia ann ; cha *'n'eil* ann ach e.
36 A nèamh thug e ort a ghuth a
chluinntinn, a chum gu'n teagaisgeadh
e thu : agus air talamh nochd e dhuit
a theine mòr, agus chuala tu a bhriath-
ran a meadhon an teine.
37 Agus a chionn gu'n do ghràdh-
aich e t'aithreacha, uime sin thagh e
an sliochd nan déigh, agus thug e
thusa mach na shealladh, le 'chumhachd
mòr, as an Eiphit :
38 A dh'fhuadachadh a mach
chinneach romhad, a's mò agus a's
cumhachdaiche na thusa, g'ad thoirt-
sa stigh a thabhairt dhuit am fearainn
na oighreachd, mar air an là 'n diugh.
39 Biodh agad fios uime sin an
diugh, agus thoir fa'near ann do
chridhe, gur e 'n Tighearn *a's* Dia
ann air nèamh shuas, agus air an
talamh a bhos [c] : cha *'n'eil* ann ach e.
40 Gleidhidh tu uime sin a reachdan,
agus 'àitheantan a tha mise ag àithn-
eadh dhuit an diugh, a chum gu'n
éirich gu math dhuit, agus do d'
chloinn a'd' dhéigh, agus a chum gu
'm buanaich thu *do* laithean air an
fhearann, a bheir an Tighearna do
Dhia dhuit gu bràth.
41 An sin chuir Maois air leth tri
bailtean air an taobh so do Iordan,
leth ri éirigh na gréine :
42 A chum as gu'n teicheadh am
marbhaiche an sin, a mharbh a choimh-
earsnach gun fhios da, agus gun fhuath
aige dha san aimsir a chaidh seachad ;
agus gu'n teicheadh e gu h-aon do
na bailtibh sin, agus gu maireadh e
beo ;
43 *Eadhon* Beser san fhàsach, ann
an dùthaich a' chòmhnaird [d], do na
Reubenich ; agus Ramot ann an Gil-
ead, do na Gadaich ; agus Golan ann
am Basan, do na Manasaich.
44 Agus *is* e so an lagh a chuir
Maois roimh chloinn Israeil.
45 *Is* iad so na teisteis [e], agus na
reachdan, agus na breitheanais, a la-
bhair Maois ri cloinn Israeil, an uair a
thàinig iad a mach as an Eiphit,
46 Air an taobh so do Iordan fa'
ghleann thall fa chomhair Bhet-peoir,
ann am fearann Shioin righ nan Amor-
ach, a *bha* chòmhnuidh ann an Hes-
bon, a bhuail Maois agus clann Israeil,
an déigh dhoibh teachd a mach as an
Eiphit :
47 Agus shealbhaich iad 'fhearann
agus fearann Og righ Bhasain, dà righ
nan Amorach, *a bha* air an taobh so
do Iordan, leth ri éirigh na gréine ;
48 O Aroer, a *ta* làimh ri bruaich
sruth Arnoin, eadhon gu sliabh Shihoin,
a's e Hermon ;
49 Agus an còmhnard uile air an
taobh so do Iordan a làimh na h-aird'
an ear, eadhon gu muir a' chòmhnaird,
fuidh thobraichibh Phisgaih.

C A I B. V.

AGUS ghairm Maois air Israel
uile, agus thubhairt e riu, Eisd,

[a] *Dia* sam bith. [b] *buairibh.* [c] *shìos.* [d] *anns an tìr réidh.* [e] *fianuisean.*

O Israel, ris na reachdaibh agus na
breitheanais a labhras mi 'nar cluasaibh
air an là'n diugh, a chum gu fòghlum [a]
sibh iad, agus gu'n gleidh agus gu'n
deàn sibh iad.
2 Rinn an Tighearna ar Dia coimh-
cheangal [b] ruinn ann an Horeb.
3 Cha d' rinn an Tighearn an coimh-
cheangal so r'ar n-aithreachaibh, ach
ruinne, *eadhon* ruinne a *tha* uile beo an
so air an là'n diugh.
4 Aghaidh ri h-aghaidh labhair an
Tighearna ribh san t-sliabh, a meadh-
on an teine,
5 (Sheas mise eadar an Tighearn
agus sibhse san àm sin, a nochdadh
dhuibh focail an Tighearna: oir bha
eagal oirbh roimh an teine, agus cha
deachaidh sibh suas do'n t-sliabh), ag
ràdh,
6 *Is* mise an Tighearna do Dhia, a
thug a mach thusa a tìr na h-Eiphit,
a tigh na daorsa [c].
7 Na biodh dée sam bith eile agad
a'm' fhianuis.
8 Na dean dhuit féin dealbh
snaidhte [d] *no* coslas air bith *ni sam bith*
a *ta* shuas air nèamh, no a *ta* shìos air
an talamh, no a *ta* sna h-uisgeachaibh
fuidh 'n talamh.
9 Na crom thu féin sìos doibh,
agus na dean seirbhis [e] doibh: oir
mise an Tighearna do Dhia, *is* Dia
eudmhor *mi*, a' leantuinn aingidheachd
nan aithreacha air a' chloinn, agus air
an treas agus air a' cheathramh *gineal-
aich* dhiubhsan a dh'fhuathaicheas mi,
10 Agus a' deanamh [f] tròcair air
mhìltibh dhiubhsan a ghràdhaicheas
mi agus a ghleidheas m'àitheanta.
11 Na tabhair ainm an Tighearna
do Dhé an dìomhanas: oir cha
mheas an Tighearna neo-chiontach
esan a bheir 'ainm an dìomhanas.
12 Thoir an aire do là na sàbaid a
naomhachadh [g], mar a dh'àithn an
Tighearna do Dhia dhuit.
13 Sè làithean saothraichidh tu,
agus ni thu t'obair uile:
14 Ach *air* an *t*-seachdamh là *tha*
sàbaid an Tighearna do Dhé: *air an
là so* cha dean thu obair sam bith, thu
féin no do mhac, no do nighean, no
t'òglach, no do bhan-oglach, no do
dhamh, no t'asal, no aon air bith do
d' spréidh, no do choigreach a *tha* 'n
taobh a stigh do d'gheataibh; a chum
as gu'n gabh t'òglach agus do bhan-
oglach fois co mhath riut féin.
15 Agus cuimhnich gu'n robh thu
féin a'd' sheirbhiseach ann an tìr na
h-Eiphit, agus gu'n d'thug an Tigh-
earna do Dhia mach as sin thu, le
làimh chumhachdaich agus le gairdean
sìnte mach: uime sin dh'àithn an
Tighearna do Dhia dhuit an t-sàbaid
a choimhead [h].
16 Tabhair onoir [k] do t' athair agus
do d' mhàthair, mar a dh'àithn an
Tighearna do Dhia dhuit; a chum
gu'm buanaichear do làithean, agus
gu'n éirich gu math dhuit san fhea-
rann a bheir an Tighearna do Dhia
dhuit.
17 Na dean mortadh.
18 Ni mò a ni thu adhaltrannas.
19 Ni mò a ghoideas tu.
20 Ni mò a bheir thu fianuis
bhréige an aghaidh do choimhears-
naich.
21 Ni mò a mhiannaicheas tu bean
do choimhearsnaich, ni mò a shannt-
aicheas tu tigh do choimhearsnaich,
'fhearann, no 'òglach no 'bhan-oglach,
no 'dhamh, no 'asal, no *ni* air bith a's le
do choimhearsnach.
22 Na briathra sin labhair an Tigh-
earna r'ar coimhthional uile san
t-sliabh, a meadhon an teine, an neoil
agus an dubh dhorchadais, *le* guth
mòr; agus cha do chuir e tuille ris:
agus sgrìobh e iad air dà chlàr chloiche,
agus thug e dhomhs' iad.
23 Agus an uair a chuala sibh an
guth a meadhon an dorchadais, agus
an t-sléibh a' losgadh le teine [l], an sin
thàinig sibh am fagus domhsa, *eadhon*
uile cheannardan bhur treubha, agus
bhur seanairean,
24 Agus thubhairt sibh, Feuch, dh'
fhoillsich an Tighearn ar Dia dhuinn
a ghlòir, agus a mhòrachd, agus
chuala

[a] *gu'n ionnsuich.* [b] *cunradh, cùmhnant.* [c] *tigh nan tràillean.* [d] *gearrta, gràbhalta.* [e] *aoradh.* [f] *a' nochdadh.* [g] *Coimhid là na sàbaid chum a naomhachadh.* [h] *a dheanamh.* Eabh. [k] *urram.* [l] *oir bha bheinn a' losgadh le teine.*

chuala sinn a ghuth a meadhon an teine: chunnaic sinn an diugh gu'n labhair Dia ri duine, agus gu mair e beo.

25 A nis uime sin c'ar son a gheibheamaid bàs? oir loisgidh an teine mòr so sinn. Ma chluinneas sinn guth an Tighearn ar Dia tuilleadh, an sin bàsaichidh sinn.

26 Oir cò *do'n* uile fheoil a chuala guth an Dé bheo a' labhairt a meadhon an teine (mar a rinn sinne) agus a mhair beo?

27 Theirigsa am fagus, agus éisd ris na h-uile nithibh a their an Tighearn ar Dia; agus labhair thusa ruinne gach *ni* a their an Tighearn ar Dia riut, agus éisdidh sinne *ris* agus ni sinn *e*.

28 Agus chual' an Tighearna guth bhur briathra, 'nuair a labhair sibh rium: agus thubhairt an Tighearna rium, Chuala mi guth briathran an t-sluaigh so, a labhair iad riut: *is* math a thubhairt iad gach ni a labhair iad.

29 O gu'm biodh an gnè cridhe so annta, gu'm biodh m'eagals' orra, agus gu'n gleidheadh iad m'àitheantan uile a ghnàth, a chum gu'n éireadh gu math dhoibh agus d'an cloinn gu bràth!

30 Imich, abair riu, Rachaibh d'ar bùthaibh a rìs.

31 Ach do d' thaobhsa, seas an so làimh riumsa, agus labhraidh mi riut na h-àitheantan uile, agus na reachdan, agus na breitheanais a theagaisgeas tu dhoibh; a chum as gu'n dean siad *iad* anns an fhearann a *tha* mise a' tabhairt dhoibh r'a shealbhachadh.

32 Bheir sibh an aire uime sin gu'n dean sibh mar a dh'àithn an Tighearna bhur Dia dhuibh: cha chlaon sibh a thaobh a chum na làimhe deise no clìthe.

33 Anns gach slighe a dh'àithn an Tighearna bhur Dia dhuibh gluaisidh sibh, a chum gu'm bi sibh beo, agus *gu'n éirich* gu math dhuibh, agus *gu*'m buanaich sibh *bhur* làithean anns an fhearann a shealbhaicheas sibh.

C A I B. VI.

ANIS *is* iad so na h-àitheantan, na reachdan, agus na breitheanais, a dh'àithn an Tighearna bhur Dia a theagasg dhuibh, a chum gu'n deanadh sibh *iad* san fhearann d'*am bheil* sibh a' dol g'a shealbhachadh:

2 A chum gu'm biodh eagal an Tighearna do Dhé ort, gu'n gleidheadh tu a reachdan uile, agus 'àitheantan a *tha* mise ag àithneadh dhuit, thu féin, agus do mhac, agus mac do mhic, uile làithean do bheatha, agus a chum gu'm buanaichear do làithean.

3 Eisd uime sin, O Israel, agus thoir an aire gu'n dean thu *so*, a chum gu'n éirich gu math dhuit, agus gu'm fàs sibh ro-lionmhor, mar a gheall an Tighearna Dia t'aithreacha dhuit, ann am fearann a tha sruthadh le bainne agus mil.

4 Eisd, O Israel, An Tighearn ar Dia-ne, *is* aon Tighearn e.

5 Agus gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia le d'uile chridhe, *agus* le d' uile anam, agus le d' uile neart.

6 Agus bithidh na briathra so, a *tha* mi 'g àithneadh dhuit an diugh, ann do chridhe.

7 Agus teagaisgidh tu iad [a] do d' chloinn, agus labhraidh tu orra 'nuair a shuidheas tu a'd' thigh, agus an uair a dh'imicheas tu air an t-slighe, agus an uair a luidheas tu sios, agus an uair a dh'éireas tu suas.

8 Agus ceanglaidh tu iad mar chomhar air do làimh, agus bithidh iad mar eudanain eadar do shùilibh.

9 Agus sgrìobhaidh tu iad air ursainnibh do thighe, agus air do gheataibh.

10 Agus an uair a bheir an Tighearna do Dhia thu do'n fhearann a mhionnaich e do d' aithreachaibh, do Abraham, do Isaac, agus do Iacob, gu'n dthugadh e dhuit bailtean mòra agus matha nach do thog thu féin,

11 Agus tighean làn do gach ni math nach do lion thu, agus tobraiche cladhaichte nach do chladhaich thu, fìon-liosan agus liosan-olaidh nach do shuidhich [b] thu, 'nuair a dh'itheas tu agus a bhios tu air do shàsachadh;

12 *An sin* thoir an aire air eagal gu'n di-chuimhnich thu an Tighearn a thug a mach thu a tìr na h-Eiphit, a tigh na daorsa.

13 Bithidh

[a] *cuiridh tu 'n céill iad gu minic.* [b] *phlanndaich.*

13 Bithidh eagal an Tighearna do
Dhé ort, agus ni thu seirbhis dha, agus
mionnaichidh tu air 'ainm.
14 Cha dthéid sibh an déigh
dhiathan [a] eile, do dhéibh an t-sluaigh
a *tha* m'an cuairt oirbh:
15 (Oir *tha* 'n Tighearna do Dhia
na Dhia eudmhor 'nar measg) an t-
eagal gu'n las fearg an Tighearna do
Dhé a'd' aghaidh, agus gu'n sgrios e
thu o aghaidh na talmhainn.
16 Cha bhrosnaich [b] sibh an Tigh-
earna bhur Dia, mar a bhrosnaich sibh
e ann am Masah.
17 Gleidhidh sibh gu dìchiollach
àitheantan an Tighearna bhur Dé,
agus a theisteis, agus a reachdan a
dh'àithn e dhuit.
18 Agus ni thu *an ni sin a ta* ceart
agus math ann an sealladh an Tigh-
earna; a chum as gu'n éirich gu math
dhuit, agus gu'n dthéid thu steach,
agus gu'n sealbhaich thu am fearann
math a mhionnaich an Tighearna do
t'aithreachaibh;
19 A thilgeadh a mach do naimh-
dean uile romhad, mar a labhair an
Tighearna.
20 'Nuair a dh'fhiosraicheas do
mhac dhiot san aimsir ri teachd, ag
ràdh, Ciod *is ciall* do na teisteasaibh,
agus do na reachdaibh, agus do na
breitheanasaibh a dh'àithn an Tigh-
earna ar Dia dhuibh?
21 An sin their thu ri d' mhac,
Bha sinn 'nar tràillibh aig Pharaoh
san Eiphit, agus thug an Tighearn
a mach sinn as an Eiphit le làimh
chumhachdaich.
22 Agus nochd an Tighearna
comharan agus iongantasan mòra agus
doilgheasach san Eiphit, air Pharaoh,
agus air a theaghlach uile, sa chomhair
ar sùl;
23 Agus thug e mach sinn as sin, a
chum gu'n dthugadh e sinn a stigh, a
thoirt dhuinn an fhearainn a mhionn-
aich e d'ar n-aithreachaibh.
24 Agus dh'àithn an Tighearna
dhuinn na reachda sin uile a dheanamh,
eagal an Tighearn ar Dé bhi oirnn a
chum ar maith a ghnàth, a chum gu'n
gleidheadh e beo sinn, mar air an là'n
diugh.
25 Agus bithidh e na fhìreantachd
dhuinn, ma bhéir sinn fa'near na h-
àitheanta so uile dheanamh, an làthair
an Tighearn ar Dé, mar a dh'àithn e
dhuinn.

CAIB. VII.

NUAIR a bheir an Tighearna do
Dhia thu stigh do'n fhearann
a chum am bheil thu dol g'a shealbh-
achadh, agus a thilgeas e mach romh-
ad mòran chinneach, na Hitich, agus
na Girgasaich, agus na h-Amoraich,
agus na Canaanaich, agus na Peridsich,
agus na Hibhich, agus na Iebusaich,
seachd cinnich a's mò agus a's cumh-
achdaiche na thusa;
2 Agus *an uair* a bheir an Tigh-
earna do Dhia iad thairis a'd' làthair,
buailidh tu iad, *agus* cuiridh tu gu tur
as doibh; cha dean thu coimh-
cheangal sam bith riu, ni mò a nochdas
tu tròcair dhoibh:
3 Ni mò a ni thu cleamhnas [c] riu;
do nighean cha dthoir thu d'a mhac-
san, ni mò a ghabhas tu a nighean-san
do d' mhac-sa.
4 Oir tionndaidh iad do mhac o
mise a leantuinn, a chum gu'n dean
iad seirbhis do dhéibh eile: mar sin
lasaidh fearg an Tighearna 'nar
n-aghaidh, agus sgriosaidh e thu gu
h-obann.
5 Ach mar so buinidh sibh riu:
sgriosaidh sibh an altairean, agus
brisidh sibh an dealbhan, agus gear-
raidh sibh sìos an doireachan, agus
loisgidh sibh an cosmhais shnaidhte le
teine.
6 Oir *is* sluagh naomha do'n Ti-
ghearna do Dhia thusa: thagh an Ti-
ghearna do Dhia thu gu bhi d' shluagh
àraidh [d] dha féin, os cionn gach sluaigh
a *ta* air aghaidh na talmhainn.
7 Cha do ghràdhaich an Tighearna
sibh, ni mò a thagh e sibh a chionn
gu'n robh sibh ni bu lìonmhoire na
sluagh sam bith eile; (oir is sibh bu
teirce do gach uile shluagh);
8 Ach a chionn gu'n do ghràdhaich
an Tighearna sibh, agus a chum gu'n
gleidheadh e na mionnan a mhionnaich
e d'ar n-aithreachaibh, thug an Tigh-
earna mach sibh le làimh chumhach-
daich,

[a] *dhée.* [b] *bhuair.* [c] *ceanglaiche-pòsaidh.* [d] *sònruichte.*

daich, agus shaor e thu a tigh nan traillean, a làimh Pharaoih righ na h-Eiphit.

9 Biodh fios agad uime sin an Tighearna do Dhia, gur esan Dia, an Dia firinneach, a chumas coimh-cheangal agus tròcair riu-san a ghràdh-aicheas e, agus a ghleidheas 'àitheanta, gu mìle ginealach;

10 Agus a dhìolas orra-san [a] a dh' fhuathaicheas e, r'an eudan, a chum an sgrios: cha dean e moille d'a thaobh-san aig am bheil fuath dha; dìolaidh e air r'a eudain.

11 Gleidhidh tu uime sin na h-àitheantan, agus na reachdan, agus na breitheanais, a tha mi 'g àithneadh dhuit an diugh a dheanamh.

12 Uime sin, ma dh'éisdeas sibh ris na breitheanais sin, agus ma choimh-ideas agus ma ni sibh iad; cumaidh an Tighearna do Dhia riutsa an coimh-cheangal agus an tròcair a mhionnaich e do d' aithreachaibh.

13 Agus gràdhaichidh e thu, agus beannaichidh e thu, agus ni e lìonmhor thu: mar an ceudna beannaichidh e toradh do bhronn, agus toradh t'fhea-rainn, t'arbhar, agus t'fhìon, agus t'oladh, fàs do chruidh, agus treuda do chaorach, san fhearann a mhionnaich e do d' aithreachaibh a thabhairt duit.

14 Bithidh tu beannaichte os cionn gach sluaigh; cha bhi firionnach no bainionnach neo-thorrach 'nar measg, no measg bhur spréidhe.

15 Agus bheir an Tighearna uait gach eucail, agus cha chuir e ort a h-aon air bith do dhroch ghalaraibh na h-Eiphit (a's aithne dhuit) ach cuir-idh e iad orra-san uile le'm fuathach thu.

16 Agus sgriosaidh tu an sluagh sin uile a bheir an Tighearna do Dhia *thairis* dhuit; cha ghabh do shùil truas riu: ni mò a ni thu seirbhis d'an déibh, oir *bithidh* sin na ribe dhuit.

17 Ma their thu ann ad chridhe, *Is* mò na cinnich sin na mise, cionnas is urrainn mise an cur a seilbh?

18 Cha bhi eagal ort rompa: *ach* cuimhnichidh tu gu math ciod a rinn an Tighearna do Dhia ri Pharaoh agus ris na h-Eiphitich uile;

19 Na deuchainnean mòra a chunnaic do shùilean, agus na comharan, agus na h-iongantais, agus an làmh chumhachdach, agus an gairdean sìnte-mach, leis an d'thug an Tighearna do Dhia mach thu: mar sin ni an Tigh-earna do Dhia ris an t-sluagh uile roimh am bheil eagal ort.

20 Os bàrr, cuiridh an Tighearna do Dhia an consbeach [b] nam measg, gus am bi iadsan a dh'fhàgar, agus a dh'fholaicheas iad féin o d' ghnùis, air an sgrios.

21 Cha bhi uamhann ort rompa; oir *tha* 'n Tighearna do Dhia 'nar measg, Dia mòr, agus uamhasach.

22 Agus cuiridh an Tighearna do Dhia a mach na cinnich sin romhad a lìon beagan is beagan: cha 'n fheud thu an sgrios a dh'aon bheum, air ea-gal gu'm fàs fiadh-bheathaiche na machrach lìonmhor ort.

23 Ach bheir an Tighearna do Dhia iad thairis duit, agus sgriosaidh e iad le sgrios mòr, gus an cuirear as doibh.

24 Agus bheir e an rìghre thairis do d' làimh, agus sgriosaidh tu an ainm o bhi fuidh nèamh: cha seas duine sam bith a' d' aghaidh, gus an cuir thu as doibh.

25 Dealbhan snaidhte an dée loisg-idh sibh le teine: cha mhiannaich thu 'n t-airgiod no 'n t-òr *a ta* orra [c], ni mò ghabhas tu *e* dhuit féin, an t-eagal gu'n ribear thu leis: oir *is* gràineileachd e do'n Tighearna do Dhia.

26 Ni mò bheir thu gràinealachd do d' thigh, an t-eagal gu'm bi thu a' d' ni mallaichte cosmhuil ris: *ach* bheir thu fuath iomlan da, agus gabh-aidh tu gràin deth gu tur, oir *is* ni mallaichte e.

C A I B. VIII.

NA h-àitheantan uile a tha mi ag àithneadh dhuit an diugh, bheir sibh an aire gu'n dean sibh *iad*, a chum gu'm bi sibh beo, agus gu'm fàs sibh lìonmhor,

[a] *a chuì' tigheas, a dh'ais-iocas dhoibhsan.* [b] *cearnabhan, eirc-bheach; beach.* Sasg. [c] *annta.*

lìonmhor, agus gu'n dthéid ſibh a ſtigh, agus gu'n ſealbhaich ſibh am fearann, a mhionnaich an Tighearna d'ar n-aithreachaibh.

2 Agus cuimhnichidh tu an t-ſlighe ſin uile air an do threòraich an Tighearna do Dhia thu rè an dà fhichead bhliadhna ſo anns an fhàſach, gu d' irioſlachadh, gu d' dhearbhadh, a chum gu'm biodh fios [a] ciod a *bh'* ann ad chridhe, an gleidheadh tu 'àitheanta no nach gleidheadh.

3 Agus dh'irioſlaich e thu, agus thug e ort ocras fhulang, agus bheathaich e thu le mana (ni nach b'aithne dhuit féin, ni mò a b'aithne do d'aithreachaibh *é*) a chum gu'n dthugadh e ort fios a bhi agad nach ann le h-aran a mhàin á bheathaichear duine, ach leis gach *focal* a thig a mach a beul an Tighearna bithidh duine beo.

4 Cha do chaitheadh t'eudach dhìot le h-aois [b], ni mò a dh'at do chos rè an dà fhichead bhliadhna-ſa.

5 Bheir thu mar an ceudna fa'near ann ad chridhe, mar a ſmachdaicheas duine a mhac, gur ann *mar ſin* a tha 'n Tighearna do Dhia 'g ad ſmachdachadh-ſa.

6 Uime ſin gleidhidh tu àitheantan an Tighearna do Dhé, a chum gu'n gluais thu na ſhlighibh, agus gu'm bi 'eagal ſan ort.

7 Oir tha 'n Tighearna do Dhia 'g ad thabhairt gu fearann math, fearann ſhruthan uiſgeacha, thobraichean, agus dhoimhneachdan a tha 'g éirigh ſuas air feadh ghleann agus air feadh bheann.

8 Fearann cruithneachd, agus eorna, agus fhìonainean, agus chraobhan figis, agus phomgranat [c], fearann oladh na craoibh-olaidh, agus meala,

9 Fearann anns an ith thu aran gun ghoinne, cha bhi uireaſbhuidh *ni* ſam bith ort ann, fearann aig *am bheil* a chlachan nan iarunn [d], agus as a bheanntaibh cladhaichear umha.

10 'Nuair a dh'itheas tu agus a ſhàſuichear thu, an ſin beannaichidh tu 'n Tighearna do Dhia air ſon an fhearainn mhaith a thug e dhuit.

11 Thoir an aire nach dichuimhnich thu 'n Tighearna do Dhia, air chor as nach gleidh thu 'àitheantan, agus a bhreitheanais, agus a reachdan, a *thà* miſe ag àithneadh dhuit an diugh:

12 Air eagal *an uair* a dh'itheas tu, agus a ſhàſuichear thu, agus a thogas tu tighean matha, agus a chòmhnuicheas tu *annta*;

13 Agus a dh'fhàſas do bhuar agus do chaoraich, agus a mheudaichear t'airgiod agus t'òr, agus a mheudaichear gach ni a ta agad;

14 Gu'm bi an ſin do chridhe air a thogail ſuas, agus gu'n dichuimhnich thu 'n Tighearna do Dhia a thug a mach thu a tìr na h-Eiphit, *agus* a tigh na daorſa;

15 A threòraich thu tre 'n fhàſach mhòr agus uamhaſach ſin, *far an robh* naithreacha loiſgeach, agus ſcorpiona, agus ionada tartmhor, far nach *robh* uiſge; a thug a mach dhuit uiſge as a' charraig ailbhinn;

16 A bheathaich thu ſan fhàſach le mana, nach b'aithne do t'aithreachaibh, a chum gu'n irioſlaicheadh e thu, agus gu'n dearbhadh e thu, a dheanamh maith dhuit ann ad *laitbibh* deireannach;

17 Agus gu'n abair thu ann ad chridhe, Fhuair mo chumhachd agus neart mo làimhe an ſaibhreas ſo dhomh.

18 Ach cuimhnichidh tu 'n Tighearna do Dhia: oir *is* eſan a bheir comas dhuit beartas fhaghail, a chum as gu'n daingnich e a choimhcheangal a mhionnaich e do t-aithreachaibh, mar *air* an là'n diugh.

19 Agus tarlaidh, ma dhichuimhnicheas tu air chor ſam bith an Tighearna do Dhia, agus gu'n gluais thu an déigh dhiathan eile, agus gu'n dean thu ſeirbhis doibh, agus gu'n dean thu aoradh dhoibh, tha mi toirt fianuis 'nar n-aghaidh an diugh, gu'n ſgrioſar gu tur ſibh.

20 Mar na cinnich a tha 'n Tighearn a' ſgrios roimh bhur gnùis, is amhuil ſin a théid as duibhſe; a chionn

nach

[a] *a dheonamh aithnichte, a leigeadh ris.* [b] *cha d'fhàs t-eudach ſean ort.* [c] *ghran-abhal.* [d] *aig* an tairngear *iarunn a 'chlachaibh.* [e] *chrodh.*

nach b'àill leibh bhi ùmhal do ghuth
an Tighearna bhur Dé.

C A I B. IX.

EISD, O Israel: *tha* thu gu gabhail
thar Iordan an diugh, gu dol a
steach a shealbhachadh chinneach a's
mò agus a's treise na thu féin, bailtean
mòra agus daingnichte suas gu nèamh,
2 Sluagh mòr agus ard [a], clann
nan Anacim, a's aithne dhuit, agus
m'an cual' thu *air a ràdh*, Cò is urrainn
seasamh roimh chloinn Anaic?
3 Uime sin tuig thusa an diugh, gur
e 'n Tighearna do Dhia an ti a théid
thairis romhad na theine caiteach [b]:
cuiridh esan as doibh, agus cuiridh e
sìos iad a'd'fhianuis: mar sin fògraidh
tu mach iad, agus sgriosaidh tu
iad gu grad, mar a thubhairt an Tighearna
riut.
4 Na labhair ann do chridhe, an
déigh do'n Tighearna do Dhia an
tilgeadh a mach romhad, ag ràdh, Air
son m'fhìreantachd féin thug an Tighearna
steach mi a shealbhachadh an
fhearainn so: ach air son aingidheachd
nan cinneach sin tha 'n Tighearna
'g am fògradh a mach o d'
làthair.
5 Cha 'n ann air son t'fhìreantachd,
no air son ionracais do chridhe tha
thu dol a shealbhachadh am fearainn;
ach air son aingidheachd nan cinneach
sin tha 'n Tighearna do Dhia 'g am
fògradh a mach o d' làthair-sa, agus a
chum gu'n coimhlion e 'm focal a
mhionnaich an Tighearna do t'aithreachaibh,
Abraham, Isaac, agus
Iacob.
6 Tuig uime sin nach ann air son
t'fhìreantachd-sa a *tha*'n Tighearna
do Dhia a' toirt duit an fhearainn
mhaith so r'a shealbhachadh; oir *is*
sluagh rag-mhuinealach thu.
7 Cuimhnich, na di-chuimhnich
cionnus a bhrosnaich thu 'n Tighearna
do Dhia gu feirg san fhàsach: o'n là
san deachaidh tu mach a tìr na
h-Eiphit, gus an d'thàinig sibh do'n
àite so, bha sibh ceannairceach an
aghaidh an Tighearna.
8 Mar an ceudna ann an Horeb
bhrosnaich sibh an Tighearna gu feirg,
air chor as gu'n robh corruich air an
Tighearna ribh a chum bhur sgrios.
9 'Nuair a chaidh mise suas do'n
t-sliabh a ghabhail nan clàr chloiche,
eadhon chlàr a' choimhcheangail a
rinn an Tighearna ribh, an sin
dh'fhan mi san t-sliabh dà fhichead là
agus dà fhichead oidhche; cha d'ith
mi aran, ni mò a dh'òl mi uisge:
10 Agus thug an Tighearna dhomh
dà chlàr chloiche sgrìobhta le meur
Dhé; agus orra *bha sgrìobhta* réir nan
uile bhriathran a labhair an Tighearna
ribh san t-sliabh, a meadhon an teine,
ann an là a' choimhchruinnich.
11 Agus tharladh an ceann dhà
fhichead là agus dhà fhichead oidhche,
gu'n d'thug an Tighearna dhomhs'
an dà chlàr chloiche, *eadhon* clàir a'
choimhcheangail.
12 Agus thubhairt an Tighearna
rium, Eirich, imich sìos gu luath as so;
oir thruaill do shluagh a thug thu
mach as an Eiphit *iad féin*: chlaon iad
gu grad o'n t-slighe a dh'àithn mise
dhoibh; rinn iad dhoibh *féin* dealbh
leaghta.
13 A bhàrr air so, labhair an Tighearna
rium, ag ràdh, Chunnaic mi an
sluagh so, agus feuch, *is* sluagh ragmhuinealach
iad.
14 Leig dhomh, a chum as gu'n
sgrios mi iad, agus gu'n dubh mi mach
an ainm o bhi fuidh nèamh: agus ni
mi dhiotsa cinneach a's cumhachdaiche
agus a's mò na iadsan.
15 Mar sin phill mi, agus thàinig
mi nuas o'n t-sliabh, agus bha 'n sliabh
a' losgadh le teine: agus bha dà chlàr
a' choimhcheangail a'm' dhà làimh.
16 Agus dh'amhairc mi, agus feuch,
bha sibh air peacachadh [c] an aghaidh
an Tighearna bhur Dé, rinn sibh
laogh leaghta dhuibh féin: bha sibh
air tionndadh a thaobh gu grad as an
t-slighe a dh'àithn an Tighearna
dhuibh.
17 Agus ghlac mi an dà chlàr, agus
thilg mi as mo dhà làimh iad, agus
bhris mi iad fa chomhair bhur sùl.
18 Agus thuit mi sìos [d] am fianuis
an Tighearna, mar air tùs, dà fhichead
là

[a] *barrachdail.* [b] *dian-loisgeach.* [c] *bha sibh 'an déigh peacachaidh.*
[d] *dh'islich mi mi féin, rinn mi aoradh.*

là agus dà fhichead oidhche; cha d'ith
mi aran, ni mò dh'òl mi uisge, air son
bhur peacannan uile a pheacaich sibh
le olc a dheanamh ann an sealladh an
Tighearna, 'ga bhrosnachadh gu feirg.
19 (Oir bha eagal na feirg orm,
agus na ro-chorruich leis an robh an
Tighearna feargach 'nar n-aghaidh-sa
chum bhur sgrios,) Ach dh'éisd an
Tighearna rium san àm sin mar an
ceudna.
20 Agus bha ro-fhearg air an Ti-
ghearna ri h-Aaron a chum a sgrios:
agus rinn mi urnuigh mar an ceudna
air son Aaroin san àm sin féin.
21 Agus ghabh mi bhur peacadh,
an laogh a rinn sibh, agus loisg mi e le
teine, agus phronn mi e, *agus* mheil
mi gu min *e*, *eadhon* gus an d'rinneadh
min e mar dhuslach: agus thilg mi a
dhuslach [a] san t-sruth a thàinig a nuas
o'n t-sliabh.
22 Agus aig Taberah, agus aig
Masah, agus aig Cibrot-Hataabhah,
bhrosnaich sibh an Tighearna gu
feirg.
23 Mar an ceudna 'nuair a chuir
an Tighearna sibh o Chades-barnea,
ag ràdh, Rachaibh suas, agus sealbh-
aichibh am fearann a thug mise
dhuibh; an sin rinn sibh ceannairc an
aghaidh àithne an Tighearna, bhur
Dé, agus cha do chreid sibh e, ni mò
a dh'éisd sibh r'a ghuth.
24 Bha sibh ceannairceach an
aghaidh an Tighearna, o'n là a b'aithne
dhomhsa sibh.
25 Mar so thuit mi sìos am fianuis
an Tighearna dà fhichead là agus dà
fhichead oidhche, mar a thuit mi sìos
air tùs [b]; a chionn gu'n dubhairt an
Tighearna gu'n sgriosadh e sibh.
26 Uime sin rinn mi urnuigh ris an
Tighearna, agus thubhairt mi, O
Thighearna Dhé, na sgrios do shluagh
féin, agus t'oighreachd, a shaor thu
tre do mhòrachd, a thug thu mach as
an Eiphit le làimh chumhachdaich.
27 Cuimhnich do sheirbhisich, A-
braham, Isaac, agus Iacob; na h-amh-
airc air reasgachd an t sluaigh so, no
air an aingidheachd, no air am pea-
cadh:
28 Air eagal gu'n abair am fearann
as an d'thug thu mach sinn, A chionn
nach b'urrainn an Tighearn an toirt a
steach do'n fhearann a gheall e dhoibh,
agus a chionn gu'n robh fuath aige
dhoibh, thug e mach iad g'am marbh-
adh san fhàsach.
29 Gidheadh *is* iad do shluagh iad,
agus t'oighreachd, a thug thu mach le
d' thréin neart, agus le d' ghairdean
sìnte mach.

CAIB. X.

SAN àm sin thubhairt an Tigh-
earna rium, Snaidh dhuit féin dà
chlàr chloiche cosmhuil ris na ceud
chlàir, agus thig a nìos a'm' ionnsuidh-
sa do'n t-sliabh [c], agus dean dhuit àirc
fhiodha.
2 Agus sgrìobhaidh mise air na
clàir na focail a bh'air na ceud chlàir
a bhris thu, agus cuiridh tu iad san àirc.
3 Agus rinn mi àirc *do* fhiodh sitim,
agus shnaidh mi da chlàr chloiche cos-
mhuil ris na ceud chlàir, agus chaidh
mi suas do'n t-sliabh, agus an dà chlàr
a'm' làimh.
4 Agus sgrìobh e air na clàir a réir
a' cheud sgrìobhaidh, na deich àith-
eantan, a labhair an Tighearna ribh
san t-sliabh, a meadhon an teine, ann
an là a' choimhchruinnich: agus thug
an Tighearn iad dhomhsa.
5 Agus phill mise, agus thàinig mi
nuas o'n t-sliabh, agus chuir mi na
clàir san àirc a rinn mi, agus an sin
tha iad, mar a dh'àithn an Tighearna
dhomh.
6 Agus dh'imich clann Israeil o
Bherot chloinn Iaacain gu Mosera:
an sin fhuair Aaron bàs, agus dh'
adhlaiceadh e an sin; agus fhritheil
Eleasar a mhac ann an dreuchd an
t-sagairt na àite.
7 As sin dh'imich iad gu Gudgodah,
agus o Ghudgodah gu Iotbat, fearann
shruthan [d] uisge.
8 San àm sin chuir an Tighearna
air leth treubh Lebhi, a ghiùlan àirc
coimhcheangail [e] an Tighearna, a
sheasamh an làthair an Tighearna gu
frithealadh dha, agus a bheannachadh
na ainm, gus an là'n diugh.

9 Uime

a *smùr.* b *anns an d'islich mi mi féin.* c *do'n bheinn.* d *aibhnichean.*
e *cunnraidh.*

9 Uime sin cha 'n'eil aig Lebhi roinn no oighreachd maille r'a bhràithribh: *is* e 'n Tighearn a's oighreachd dha, a réir mar a gheall an Tighearna do Dhia dha.

10 Agus dh'fhan mi san t-sliabh, a réir na ceud ùine[a], dà fhichead là agus dà fhichead oidhche, agus dh' éisd an Tighearna rium mar an ceudna san àm sin, *agus* cha bu toil leis an Tighearn thusa a sgrios.

11 Agus thubhairt an Tighearna rium, Eirich, imich roimh 'n t-sluagh, a chum gu'n dthéid iad a steach, agus gu'n sealbhaich iad am fearann, a mhionnaich mi d'an aithreachaibh gu'n dthugainn doibh.

12 Agus a nis, Israel, ciod *a tha* 'n Tighearna do Dhia ag iarraidh ort, ach eagal an Tighearna do Dhé a bhi ort, gluasad na uile shlighibh, agus a ghràdhachadh, agus seirbhis a dheanamh do'n Tighearna do Dhia le d' uile chridhe agus le d' uile anam;

13 Aitheantan an Tighearn a ghleidheadh, agus a reachdan a *tha* mise ag àithneadh dhuit an diugh air son do leas?

14 Feuch, *is* leis an Tighearna do Dhia nèamh, agus nèamh nan nèamh, an talamh *mar an ceudna* agus gach *ni* a ta ann.

15 A mhàin bha tlachd aig[b] an Tighearn a' t' aithreachaibh g'an gràdhachadh, agus thagh e 'n sliochd nan déigh, *eadhon* sibhse os cionn gach sluaigh, mar air an là'n diugh.

16 Timchioll-ghearraibh uime sin roimh-chroicionn bhur cridhe, agus na bithibh rag-mhuinealach ni's mò.

17 Oir an Tighearna bhur Dia, *is* esan Dia nan Dia, agus Tighearna nan Tighearna, Dia mòr, cumhachdach, agus uamhasach, aig nach 'eil bàigh ri neach *seach a chéile*, agus nach gabh duais[c].

18 Tha e cur an gnìomh breitheanais an dilleachdain agus na bantraich, agus is toigh leis an coigreach, a toirt dha bidh agus eudaich.

19 Uime sin gràdhaichidh sibh an coigreach; oir bha sibh féin 'nar coigrich ann an tìr na h-Eiphit.

20 Bithidh eagal an Tighearna do Dhé ort; dhasan ni thu seirbhis, agus ris-san dlùth-leanaidh tu, agus air 'ainm mionnaichidh tu.

21 *Is* esan do chliu, agus *is* esan do Dhia, a rinn air do shon na nithe mòr agus uamhasach ud a chunnaic do shuilean.

22 Le tri fichead agus deich anmanna[d] chaidh t'aithreacha sìos do'n Eiphit; agus a nis rinn an Tighearna do Dhia thu mar reulta nèimh a thaobh lìonmhoireachd.

CAIB. XI.

AIR an aobhar sin gràdhaichidh tu 'n Tighearna do Dhia, agus gleidhidh tu a chùram[e], agus a reachdan, agus a bhreitheanais, agus 'àitheantan a ghnàth.

2 Agus biodh fios agaibhse an diugh: oir ni *'n labhram* r'ar cloinn do nach b'aithne, agus nach faca smachdachadh an Tighearna bhur Dé, a mhòrachd, a làmh chumhachdach, agus a ghàirdean sìnte mach,

3 Agus a chomharan, agus a ghnìomharan, a rinn e ann am meadhon na h-Eiphit, ri Pharaoh righ na h-Eiphit, agus r'a fhearann uile;

4 Agus ciod a rinn e ri armailt nan Eiphiteach, r'an eich, agus r'an carbadaibh, cionnus a thug e air uisge na mara ruaidhe dol tharta 'nuair a bha iad an tòir oirbh, agus *cionnus* a sgrios an Tighearn iad gus an la'n diugh;

5 Agus ciod a rinn e dhuibhse san fhàsach, gus an d'thàinig sibh, do'n àite so;

6 Agus ciod a rinn e ri Datan agus Abiram mic Eliaib, mhic Reubein; cionnus a dh'fhosgail an talamh a bheul, agus a shluig e sìos iad, agus an teaghlaichean, agus am bùthan, agus a' mhaoin uile a *bha* nan seilbh, am meadhon Israeil uile.

7 Ach chunnaic bhur sùileansa gnìomhara mòra an Tighearn uile, a rinn e.

8 Uime sin gleidhidh sibh na h-àitheanta sin uile a *tha* mi ag àithneadh dhuibh air an là'n diugh, a chum gu'm bi sibh làidir, agus gu'n

dthéid

a *laithean*. Eabh. b *roghnuich*. c *ceannach*. d *pearsanna*.
e *a thaisgeach, na dh'earb e riut*.

dthéid ſibh a ſtigh agus gu'n ſealbh-
aich ſibh am fearann gus am bheil ſibh
a' dol g'a ſhealbhachadh;
9 Agus gu'm buanaich ſibh *bhur*
làithean anns an fhearann a mhion-
naich an Tighearna d'ar n-aithreach-
aibh gu'n dthugadh e dhoibh e, agus
d'an ſliochd, fearann a tha ſruthadh le
bainne agus mil.
10 Oir cha 'n eil am fearann d'am
bheil thu dol a ſtigh g'a ſhealbhachadh,
mar fhearann na h-Eiphit o'n d'thàinig
ſibh a mach, far an robh thu cur do
ſhìl, agus 'g *a* uiſgeachadh le d' chois,
mar lios luſan [a]:
11 Ach am fearann gus am bheil
ſibh a' dol g'a ſhealbhachadh, *is* fear-
ann bheann agus ghleann e: do fhraſ-
achd [b] nèimh òlaidh e uiſge:
12 Fearann d'am bheil an Tigh-
earna do Dhia a' gabhail cùraim: *tha*
ſùilean an Tighearna do Dhé air a
ghnàth, o thoiſeach na bliadhna eadh-
on gu deire [c] na bliadhna.
13 Agus tarlaidh, ma dh'éiſdeas
ſibh gu dùrachdach ri m' àithean-
taibhs' a *tha* mi ag àithneadh dhuibh
air an là'n diugh, an Tighearna bhur
Dia a ghràdhachadh, agus ſeirbhis a
dheanamh dha le'r n-uile chridhe, agus
le'r n-uile anam;
14 Gu'n dthoir miſe *dhuibh* uiſge
bhur fearainn na àm féin, an ceud
uiſge agus an t-uiſge deireannach,
agus cruinnichidh tu ſtigh t'arbhar,
agus t'fhìon, agus t'oladh.
15 Agus cuiridh mi feur a'd'
mhachair do d' ſpréidh, agus ithidh
tu agus ſàſaichear thu.
16 Thugaibh an aire dhuibh féin,
air eagal gu meallar bhur cridhe, agus
gu'n claon ſibh a leth-taobh, agus gu'n
dean ſibh ſeirbhis do dhéibh eile, agus
gu'n dean ſibh aoradh dhoibh:
17 Agus gu'n las fearg an Tigh-
earna 'nar n-aghaidh, agus gu'n druid
e ſuas nèamh air chor as nach bi uiſge
ſam bith ann, agus nach dthoir am
fearann a thoradh uaith, agus gu'n
ſgriosar gu grad ſibh as an fhearann
mhath a *tha* 'n Tighearn a' tabhairt
duibh.
18 Uime ſin taiſgidh ſibh ſuas iad
ſo mo bhriathra 'nar cridhe agus 'nar
n-anam, agus ceanglaidh ſibh iad mar
chomhar air bhur làimh; agus bithidh
iad mar eudanain eadar bhur ſùilibh.
19 Agus teagaiſgidh ſibh iad d'ar
cloinn, a labhairt orra 'nuair a ſhuidh-
eas tu a'd' thigh, agus an uair a dh'
imicheas tu air an t-ſlighe, agus an
uair a luidheas tu ſìos, agus an uair a
dh'éireas tu ſuas.
20 Agus ſgrìobhaidh tu iad air
urſainnean doruis do thighe, agus air
do gheataibh:
21 A chum as gu'm bi bhur laith-
ean lìonmhor, agus laithean bhur
cloinne, ſan fhearann a mhionnaich
an Tighearna d'ar n-aithreachaibh a
thoirt doibh, mar laithean nèimh air
an talamh.
22 Oir ma ghleidheas ſibh gu
dùrachadh na h-àitheanta ſo uile a *tha*
miſe ag àithneadh dhuibh a dheanamh,
an Tighearna bhur Dia a ghràdh-
achadh, gluaſad na uile ſhlighibh,
agus dlùth-leantuinn ris;
23 An ſin tilgidh an Tighearn a
mach na cinnich ſin uile romhaibh,
agus ſealbhaichidh ſibh cinnich a's mò
agus a's cumhachdaiche na ſibh féin.
24 Gach àit air an ſaltair buinn
bhur cos, is libhſe: o'n fhàſach, agus
Lebanon, o'n abhuinn, an abhuinn
Euphrates, eadhon gus an fhairge a's
faide mach, bithidh bhur crìoch.
25 Cha ſeas duine 'nar n-aghaidh:
eagal agus geilt-chrith romhaibh
cuiridh an Tighearna bhur Dia air
gach fearann air an ſaltair ſibh, a réir
mar a thubhairt e ribh.
26 Feuch, tha miſe a' cur fa'r comh-
air air an là'n diugh beannachadh
agus mallachadh:
27 Beannachadh, ma bheir ſibh
géill [d] a dh'aitheantaibh an Tighearna
bhur Dé, a *tha* mi ag àithneadh dhuibh
air an là'n diugh;
28 Agus mallachadh, mur dthoir
ſibh géill [e] a dh'àitheantaibh an Tigh-
earna bhur Dé, ach gu'n claon ſibh
o'n t-ſlighe a *tha* mi ag àithneadh
dhuibh an diugh, a dhol an déigh
dhiathan eile nach b'aithne dhuibh.
29 Agus tarlaidh, 'nuair a bheir an
Tighearna

[a] *mar ghàradh lus.* [b] *fheurthuinn.* [c] *deireadh.* [d] *bhios ſibh umhal.* [e] *éiſd ſibh ri.* Eabh.

Tighearna do Dhia thu ſtigh do'n
fhearann d'am bheil thu dol g'a
shealbhachadh, gu'n cuir thu am
beannachadh air ſliabh Gheridſim,
agus am mallachadh air ſliabh Ebail.

30 Nach *'eil* iad air an taobh eile
do Iordan, leth ri ſlighe dol fuidhe
na gréine, ann an tìr nan Canaanach,
a tha 'g àiteachadh a' chòmhnaird fa
chomhair Ghilgail, làimh ri còmh-
nardaibh [a] Mhoreh?

31 Oir théid ſibh thar Iordan a
dhol a ſtigh a shealbachadh an fhear-
ainn a tha 'n Tighearna bhur Dia a'
toirt duibh, agus ſealbhaichidh ſibh e,
agus gabhaidh ſibh còmhnuidh ann.

32 Agus bheir ſibh an aire gu'n dean
ſibh na reachdan uile agus na breith-
eanais, a tha mi cur romhaibh air an
là 'n diugh.

C A I B. XII.

IS iad ſo na reachdan agus na breith-
eanais a bheir ſibhſe fa'near gu'n
dean ſibh ſan fhearann a tha 'n Tigh-
earna, Dia t'aithreacha, a' toirt duit
g'a shealbhachadh, uile làithean bhur
beatha air an talamh.

2 Léir-ſgrioſaidh ſibh na h-àiteach-
an uile anns an d'rinn na cinnich a
shealbhaicheas ſibh ſeirbhis d'an déibh,
air na beanntaibh arda, agus air na
cnocaibh, agus fuidh gach craoibh ghlàis.

3 Agus leagaidh ſibh ſìos an altair-
ean, agus briſidh ſibh an caraighean [b],
agus loiſgidh ſibh an doireachan le
teine, agus gearraidh ſibh ſìos dealbh-
an ſnaidhte an dée, agus ſgrioſaidh
ſibh an ainm a mach as an àite ſin.

4 Cha dean ſibh mar ſin ris an
Tighearna bhur Dia.

5 Ach a dh'ionnſuidh an àite a
ròghnaicheas an Tighearna bhur Dia
as bhur treubhaibh uile, chum 'ainm a
chur an ſin, *eadhon* a dh'ionnſuidh
'àite-còmhnuidh-ſan iarraidh ſibh, agus
gu ſin thig thu:

6 Agus bheir ſibh gu ſin bhur tabh-
artais-loiſgte [c], agus bhur n-ìobairtean,
agus bhur deachamh, agus tabhartais
thogta bhur làimh, agus bhur bòidean,
agus bhur ſaor-thabhartais, agus ceud-
ghin bhur cruidh agus bhur caorach.

7 Agus ithidh ſibh an ſin an là-
thair an Tighearna bhur Dé, agus ni
ſibh gairdeachas anns gach ni ris an
cuir ſibh bhur làmh, ſibh féin agus
bhur teaghlaichean, anns an do bhean-
naich an Tighearna do Dhia thu.

8 Cha dean ſibh a réir nan uile
nithe a tha ſinn a' deanamh an ſo an
diugh, gach duine an ni a *tha* ceart na
shùilibh féin.

9 Oir cha d'thàinig ſibh fathaſt a
dh'ionnſuidh na fois, agus a dh'ionn-
ſuidh na h-oighreachd a *tha* 'n Tigh-
earna bhur Dia a' tabhairt duibh.

10 Ach *an uair* a théid ſibh thar
Iordan, agus a ghabhas ſibh còmh-
nuidh ſan fhearann a bheir an Tigh-
earna bhur Dia dhuibh r'a shealbh-
achadh, agus *an uair* a bheir e fois
dhuibh o'r naimhdibh uile mu'n cuairt,
agus a ghabhas ſibh còmhnuidh gu
tèaruinte,

11 An ſin bithidh àit ann a thaghas
an Tighearna bhur Dia, a thoirt air
'ainm còmhnuidh a ghabhail ann; gu
ſin bheir ſibh na h-uile nithe a *tha* miſe
ag àithneadh dhuibh; bhur tabhart-
ais-loiſgte, agus bhur n-ìobairte, bhur
deachamh, agus tabhartais-thogta bhur
làimh, agus taghadh bhur bòidean uile
a bhòidicheas ſibh do'n Tighearna.

12 Agus ni ſibh gairdeachas an
làthair an Tighearna bhur Dé, ſibh
féin, agus bhur mic, agus bhur nigh-
eana, agus bhur n-òglaich, agus bhur
ban-oglaich, agus an Lebhitheach a
tha 'n taobh a ſtigh d'ar geataibh; do
bhrìgh nach 'eil roinn no oighreachd
aige maille ribh.

13 Thoir an aire dhuit féin nach
ìobair [d] thu t'ìobairtean loiſgte ann s
gach àit a chi ſibh,

14 Ach anns an àit a thaghas an
Tighearn as aon do d'threubhaibh, an
ſin ìobraidh tu t'iobairtean-loiſgte,
agus an ſin ni thu na h-uile nithe a
tha miſe ag àithneadh dhuit.

15 Gidheadh, feudaidh tu feoil a
mharbhadh agus itheadh a' d' gheat-
aibh uile, ge b'e ni air am bheil miann
aig t'anam, a réir beannachaidh an
Tighearna do Dhé a thug e dhuit:
feudaidh an neo-ghlan agus an glan
itheadh

[a] *réidhleanaibh; daragaibh.* [b] *dealbhan-cloiche.* [c] *ofrailean-loiſgte.*
[d] *ofrail, tiodhlaic, tairg.*

itheadh dheth; mar do'n bhoc earba,
agus do'n fhiadh.
16 A mhàin cha 'n ith sibh an
fhuil; air an talamh dòirtidh sibh i
mar uisge:
17 Cha 'n fheud thu deachamh
t'arbhair itheadh an taobh a stigh do
d' gheataibh, no t'fhìona, no t'olaidh,
no ceudghin do chruidh no do chaor-
ach, no h-aon air bith do d' bhòidibh
a bhòidicheas tu, no do shaor-thabh-
artais, no tabhartais-thogta do làimh:
18 Ach an làthair an Tighearna
do Dhé ithidh tu iad anns an àit a
thaghas an Tighearna do Dhia, thu
féin, agus do mhac, agus do nighean,
agus t'òglach, agus do bhan-oglach,
agus an Lebhitheach a *tha* 'n taobh a
stigh do d' gheataibh: agus ni thu
gairdeachas 'an làthair an Tighearna
do Dhé anns gach ni ris an cuir thu
do làmha.
19 Thoir an aire dhuit féin, nach
tréig thu an Lebhitheach am feadh is
beo thu air t'fhearann [a].
20 'Nuair a leudaicheas an Tigh-
earna do Dhia do chrìoch, mar a
gheall e dhuit, agus a their thu, Ithidh
mi feoil (a chionn gu bheil t'anam a'
miannachadh feoil itheadh) a réir uile
mhiann t'anma feudaidh tu feoil
itheadh.
21 Ma bhios an t-àit a thagh an
Tighearna do Dhia a chur 'ainme an
sin, ro-fhada uait; an sin marbhaidh
tu do d'bhuar, agus do d' threud, a
thug an Tighearna dhuit, mar a
dh'àithn mise dhuit, agus ithidh tu an
taobh a stigh do d' gheataibh gach ni
is miannach le t'anam.
22 Eadhon mar a dh'ithear an
ruadh-bhoc, agus am fiadh, mar sin
ithidh tu e: ithidh an neo-ghlan agus
an glan deth air an aon dòigh:
23 A mhàin thoir an ro-aire nach
ith thu 'n fhuil: oir *is i* 'n fhuil a'
bheatha; agus cha 'n fheud thu a'
bheatha itheadh maille ris an fheoil.
24 Cha 'n ith thu i; air an talamh
dòirtidh tu i mar uisge.
25 Cha 'n ith thu i, chum gu'n
éirich gu math dhuit, agus do d'
chloinn a'd' dhéigh, 'nuair a ni thu *an
ni a ta* ceart ann an sùilibh an Tigh-
earna.
26 A mhàin gabhaidh tu do nithe
naomha a tha agad, agus do bhòidean,
agus théid thu do'n àit a thaghas an
Tighearna:
27 Agus ìobraidh tu t'iobairtean-
loisgte, an fheoil agus an fhuil, air
altair an Tighearna do Dhé; agus
dòirtear a mach fuil t'iobairtean air
altair an Tighearna do Dhé, agus
ithidh tu 'n fheoil.
28 Thoir an aire [b], agus éisd ris na
briathraibh sin uile a *tha* mi ag àithn-
eadh dhuit, a chum gu'n éirich gu
math dhuit féin, agus do d' chloinn
a'd' dhéigh gu bràth, an uair a ni thu
an ni a tha math agus ceart ann an
sùilibh an Tighearna do Dhé.
29 'Nuair a ghearras an Tighearna
do Dhia as na cinnich romhad, a tha
thu dol a steach an sud a chum an
sealbhachadh, agus a thig thu nan
àite, agus a ghabhas tu còmhnuidh
nam fearann:
30 Thoir an aire dhuit féin nach
ribear thu le'n leantuinn, an déigh
dhoibh bhi air an sgrios as do làthair,
agus nach fiosraich thu mu thimchioll
an dée, ag ràdh, Cionnus a rinn na
cinnich sin seirbhis d'an déibh? ni
mise mar sin mar an ceudna.
31 Cha dean thusa mar sin ris an
Tighearna do Dhia: oir gach gràin-
ealachd do'n Tighearn a's fuathach
leis, rinn iadsan d'an déibh; oir eadh-
on am mic agus an nigheana loisg iad
san teine d'an déibh.
32 Gach ni a *tha* mise ag àithneadh
dhuibh, thugaibh an aire gu'n dean
sibh e: cha chuir thu ris, ni mò bheir
thu ni sam bith uaith.

CAIB. XIII.

MA dh'éireas suas 'nar measg
fàidh, no fear a chi aisling [c],
agus, gu'n dthoir e dhuit comhara [d]
no iongantas,
2 Agus gu'n dthig an comhara no'n
t-iongantas gu crìch, air an do labhair
e riut, ag ràdh, Rachamaid an déigh
dhiathan eile, (nach b'aithne dhuit)
agus deanamaid seirbhis doibh:

3 Cha

[a] *rè do làithean uile air an talamh.* [b] *Gleidh.* [c] *a bhruadaireas bruadar.* [d] *sain-fhios.*

3 Cha 'n éisd thu ri briathraibh an
fhàidh sin, no ris an fhear sin a chi
aisling: oir tha 'n Tighearna bhur
Dia 'gar dearbhadh, a dh'fheuchainn
am bheil sibh a' gràdhachadh an Tigh-
earna bhur Dé le'r n-uile chridhe, agus
le'r n-uile anam.

4 An déigh an Tighearna bhur
Dé gluaisidh sibh, agus bithidh 'eagal-
san oirbh, agus gleidhidh sibh 'àith-
eantan, agus éisdidh sibh r'a ghuth,
agus ni sibh seirbhis da, agus dlùth-
leanaidh sibh ris.

5 Agus cuirear am fàidh sin, no
am fear sin a chi aisling, gu bàs, (a
chionn gu'n do labhair e chum *sibhse*
chur air seacharan o'n Tighearna bhur
Dia, a thug a mach sibh a tìr na h-
Eiphit, agus a dh'fhuasgail sibh a tigh
na daorsa, chum t'iomain a mach [a] as
an t-slighe anns an d'àithn an Tigh-
earna do Dhia dhuit imeachd,) mar sin
cuiridh tu air falbh an t-olc as do
mheadhon [b].

6 Ma chuireas do bhràthair, mac
do mhàthar, no do mhac féin, no do
nighean, no bean-phòsda t'uchd, no do
charaid, a *tha dhuit* mar t'anam, impidh
ort ann an uaigneas, ag ràdh, Racham-
aid agus deanamaid seirbhis do dhéibh
eile, (nach b'aithne dhuit féin, no do
t'aithreachaibh;

7 *Eadhon* do dhéibh nan cinneach a
tha mu'n cuairt oirbh, am fagus duit,
no fada uait, o'n *dara* ceann do'n tal-
amh eadhon gus an ceann *eile* do'n
talamh),

8 Cha 'n aontaich thu leis, ni mò a
dh'éisdeas tu ris; ni mò a ghabhas do
shùil truas ris, ni mò a chaomhnas no
cheileas tu e.

9 Ach cuiridh tu gu cinnteach gu
bàs e; bithidh do làmh féin an tùs
air g'a mharbhadh, agus an déigh sin
làmh an t-sluaigh uile.

10 Agus clachaidh tu e le clachaibh,
a chum gu'm bàsaich e: a chionn
gu'n d'iarr e do tharruing [c] o'n Tigh-
earna do Dhia, a thug a mach thu a
tìr na h-Eiphit, a tigh na daorsa.

11 Agus cluinnidh Israel uile, agus
bithidh eagal orra, agus cha dean iad
ni's mò a leithid so do ghnìomh ain-
gidh 'nar measg.

12 Ma chluinneas tu ann an aon
do d' bhailtibh, a thug an Tighearna
do Dhia dhuit gu còmhnuidh a ghabh-
ail ann *neach air bith* ag ràdh,

13 Chaidh daoine *àraidh*, clann
Bhelial, a mach as bhur measg, agus
bhuair [d] iad luchd-àiteachaidh am
baile, ag ràdh, Rachamaid agus dean-
amaid seirbhis do dhéibh eile, (nach
b'aithne dhuibh),

14 An sin fiosraichidh tu agus
rannsaichidh tu, agus feòraichidh tu
gu dùrachdach: agus feuch, *ma's*
fìrinn *e, agus* gu'm bheil a' chùis
deirbhte, *gu'n* do rinneadh a' ghràin-
eileachd sin 'nar measg;

15 Gu cinnteach buailidh tu luchd-
àiteachaidh a' bhaile sin le faobhar a'
chlaidheimh, 'ga sgrios gu tur, agus
gach ni a *ta* ann, agus a spréidh le
faobhar a' chlaidheimh.

16 Agus cruinnichidh tu a' chreach [e]
uile gu meadhon a shràide, agus loisg-
idh tu le teine am baile, agus a
chreach uile gu h-iomlan, air son an
Tighearna do Dhé: agus bithidh e
na thorr [f] a chaoidh; cha togar suas
e ni's mò.

17 Agus cha lean ni d' làimhsa a'
bheag do'n ni mhallaichte; a chum
gu'm pill an Tighearn o lasair 'fheirge,
agus gu nochd e tròcair dhuit, agus
gu'n dean e iochd riut, agus gu'n
dthoir e ort fàs lìonmhor, mar a
mhionnaich e do t'aithreachaibh;

18 'Nuair a dh'éisdeas tu ri guth
an Tighearna do Dhé, a ghleidheadh
'àitheantan uile a *tha* mi ag àithneadh
dhuit an diugh, a dheanamh *an ni a ta*
ceart ann an sùilibh an Tighearna do
Dhé.

CAIB. XIV.

IS sibhse clann an Tighearna bhur
Dé: cha ghearr sibh sibh féin, ni
mò a ni sibh lomadh *air bith* eadar
bhur sùilean air son mairbh:

2 Oir *is* sluagh naomha thu do'n
Tighearna do Dhia, agus thagh an
Tighearn thu gu bhi a'd' shluagh
sònraichte dha féin, thar gach uile
chinneach

[a] *do chur air seacharan.* [b] *as bhur measg.* [c] *do sgaradh; t'fhuadach.*
[d] *tharruing, mheall.* [e] *spùinneadh.* [f] *na charn.*

chinneach a *tha* air aghaidh na talmh-
ainn.
3 Cha 'n ith thu ni gràineil sam
bith.
4 Is iad so na beathaichean a
dh' itheas sibh: an damh, a' chaora,
agus a' ghabhar,
5 Am fiadh, agus an ruadhbhoc,
agus an dathais[a], agus a' ghabhar
fhiadhaich, agus an t-earr-gheal[b],
agus an damh fiadhaich, agus an
somer[c].
6 Agus gach beathach a roinneas
an ionga, agus a sgoilteas sgoltadh an
dà ionga, agus a chnàmhas a' chìr
am measg nan ainmhidhean, sin ithidh
sibh.
7 Gidheadh, iad so cha'n ith sibh,
dhiubhsan a chnàmhas a' chìr, no
dhiubhsan a roinneas an ionga sgoilte,
mar an càmhal, agus a' mhaigheach,
agus an coinean; oir cnàmhaidh iad
a' chìr, ach cha roinn iad an ionga:
neo-ghlan *tha* iad dhuibh.
8 Agus a' mhuc, a chionn gu
roinn i 'n ionga, nach cnàmh i a' chìr,
tha i neo-ghlan dhuibh: d'am feoil
cha 'n ith sibh, agus r'an cairbh cha
bhean sibh.
9 Iad so ithidh sibh dhiubhsan uile
a *ta* sna h-uisgibh: gach ni air am
bheil itean agus lannan, ithidh sibh;
10 Agus gach ni air nach 'eil itean
agus lannan, cha'n ith sibh: *tha* e neo-
ghlan dhuibh.
11 Gach eun glan ithidh sibh.
12 Ach *is* iad so *iadsan* do nach ith
sibh: an iolair, agus an cnaimh-
bhristeach, agus an iolar uisge,
13 Agus an croman-gabhlach[d],
agus an clamhan, agus am fang[e] a
réir a ghnè,
14 Agus gach fitheach a réir a
ghnè,
15 Agus a' chailleach-oidhche, agus
an t-seabhag-oidhche, agus a' chuach,
agus an t-seabhag a réir a gnè,
16 Agus a' chailleach-oidhche bheag,
agus a' chailleach-oidhche mhòr, agus
an eala,
17 Agus am pelican, agus an iolair
fhionn, agus an sgarbh,
18 Agus a' chorra-bhàn, agus a'
chorra-ghlas a réir a gnè, agus an
t-adharcan-luachrach, agus an ialtag.
19 Agus *tha* gach ni snàigeach a
dh'itealaicheas, neo-ghlan dhuibh:
cha'n ithear iad.
20 Gach eun glan ithidh sibh.
21 Cha'n ith sibh ni sam bith a
bhàsaicheas dheth féin[f]: bheir thu e
do'n choigreach a *tha* 'n taobh a stigh
do d' gheataibh[g], chum gu'n ith se e,
no reic e ris an eilthireach[h]: oir *is*
sluagh naomha thu do'n Tighearna
do Dhia. Cha bhruich thu meann
ann am bainne a mhàthar.
22 Bheir thu seachad gu ceart
deachamh uile chinnis do shìl, a bheir
am fearann uaith o bhliadhna gu
bliadhna.
23 Agus ithidh tu 'm fianuis an
Tighearna do Dhé, san àit a thaghas
e chum 'ainm a chur an sin, deachamh
t'arbhair, t'fhìona, agus t'olaidh, agus
ceud-ghin do chruidh, agus do chaor-
ach; a chum gu fòghlum thu eagal
ad Tighearna do Dhé a bhi ort a
ghnàth.
24 Agus ma bhios an t-slighe ro-
fhada dhuit, air chor as nach urrainn
thu a ghiùlan, a chionn an t-àite bhi
fada uait, a thaghas an Tighearna do
Dhia a chur 'ainme an sin, an uair a
bheannaicheas an Tighearna do Dhia
thu:
25 An sin ni thu airgiod *deth*, agus
ceanglaidh tu suas an t-airgiod a'd'
làimh, agus théid thu chum an àit a
thaghas an Tighearna do Dhia.
26 Agus bheir thu an t-airgiod sin
air son gach ni a mhiannaicheas t'anam,
air son buair[k], no air son chaorach, no
air son fìona, no air son dibhe làidir,
no air son gach ni a mhiannaicheas
t'anam: agus ithidh tu an sin an
làthair an Tighearna do Dhé, agus ni
thu gairdeachas, thu féin, agus do
theaghlach.
27 Agus an Lebhitheach a *tha* 'n
taobh a stigh do d' gheataibh, cha
tréig thu e: oir cha 'n 'eil roinn no
oighreachd aige maille riut.
28 Aig crìoch thri bliadhna bheir
thu

[a] *buabbul; iachmur.* Eabh. [b] *pigarg; dishon.* Eabh. [c] *Ierassa; chamois.* Saig. [d] *raah.* Eabh. [e] *daiah.* Eabh. [f] *cairbh sam bith.* [g] *a* tha *ann do gheataibh.* [h] *fear dùthcha eile, allmharach, athbarrach.* [k] *cruidh.*

thu mach uile dheachamh do chinnis
air a' bhliadhna sin féin, agus taisg-
idh tu suas *e* an taobh a stigh do d'
gheataibh.
29 Agus thig an Lebhitheach, (a
chionn nach 'eil roinn no oighreachd
aige maille riut), agus an coigreach,
agus an dilleachdan, agus a' bhantrach,
a *tha* 'n taobh a stigh do d' gheataibh,
agus ithidh iad, agus sàsuichear iad;
a chum gu'm beannaich an Tigh-
earna do Dhia thu ann an uile oibribh
do làmh a ni thu.

C A I B. XV.

AN ceann *gach* seachd bliadhna ni
thu fuasgladh.
2 Agus *is* e so modh an fhuasglaidh:
Gach fear fiacha a bheir *ni sam bith* air
iasachd [a] d'a choimhearsnach, fuas-
glaidh [b] se *e*, cha 'n iarr e air 'ais *e* o
'choimhearsnach, no o 'bhràthair, a
chionn gu'n goirear fuasgladh an Tigh-
earna dheth [c].
3 O eilthireach feudaidh tu 'iarraidh
air 'ais; ach *an ni* a's leat féin a ta aig
do bhràthair, fuasglaidh do làmh e.
4 Ach a mhàin an uair nach bi [d]
uireasbhuidheach sam bith 'nar measg:
oir beannaichidh an Tighearna gu
mòr thu san fhearann a tha 'n Tigh-
earna do Dhia a' toirt dhuit *mar* oigh-
reachd, r'a shealbhachadh:
5 A mhàin ma dh'éisdeas tu gu
dùrachdach ri guth an Tighearna do
Dhé, a thoirt an aire gu'n dean thu
na h-àitheanta so uile a *tha* mi 'g àithn-
eadh dhuit air an là'n diugh.
6 Oir beannaichidh an Tighearna
do Dhia thu, mar a gheall e dhuit;
agus bheir thu air iasachd do mhòran
chinneach, ach cha ghabh thu air
iasachd; agus bithidh uachdranachd
agad air mòran chinneach, ach cha
bhi uachdranachd aca-san ort-sa.
7 Ma bhios 'nar measg duine bochd,
aon do d' bhràithribh, an taobh a
stigh aon do d' gheataibh, ann ad
fhearann a *tha* 'n Tighearna do Dhia
a' toirt duit, cha chruadhaich thu do
chridhe, ni mò a dhruideas tu do
làmh o d' bràthair bochd:
8 Ach fosglaidh tu do làmh gu
farsaing dha, agus gu cinnteach bheir
thu air iasachd dha ni's leòr air son
'fheum, *do'n ni* a tha dh'easbhuidh
air.
9 Thoir an aire nach bi smuain a'd'
chridhe aingidh, ag ràdh, Tha 'n
t-seachdamh bliadhna, bliadhna an
fhuasglaidh, am fagus; agus gu'm bi
do shùil olc an aghaidh do bhràthar
bhochd, agus nach dthoir thu bheag
dha, agus gu'n glaodh e ris an Tigh-
earn a't' aghaidh, agus gu'm bi e na
pheacadh dhuit.
10 Bheir thu dha gu deimhin, agus
cha bhi doilgheas air do chridhe 'nuair
a bheir thu dha: a chionn air son an
ni so gu'm beannaich an Tighearn do
Dhia thu a' t' oibribh uile, agus anns
gach ni ris an cuir thu do làmh
11 Oir cha bhi 'n tìr a chaoidh gun
bhochd [e]: uime sin tha mi 'g àithneadh
dhuit, ag ràdh, Fosglaidh tu do làmh
gu farsaing do d' bhràthair, do d'
bhochd, agus do d' uireasbhuidheach
a'd' dhùthaich.
12 Ma reicear riut do bhràthair
Eabhruidheach, no Ban-eabhruidheach,
agus gu'n dean e seirbhis duit sè bliadhn-
an; an sin anns an t seachdamh
bliadhna leigidh tu leis dol saor
uait.
13 Agus an uair a chuireas tu e
mach saor uait, cha chuir thu air
falbh e falamh:
14 Bheir thu dha gu pailt as do
threud, agus as t'urlar, agus a t-fhion-
amar: *as na nithibh sin* leis an do
bheannaich an Tighearna do Dhia
thu, bheir thu dha.
15 Agus cuimhnichidh tu gu'n robh
thu féin a'd' thràill ann an tìr na
h-Eiphit; agus shaor an Tighearna do
Dhia thu: uime sin *tha* mi ag àithn-
eadh so dhuit an diugh.
16 Ach ma their e riut, Cha'n
fhalbh mi uait; (a chionn gur toigh
leis thu agus do thigh, do bhrìgh gu
bheil e gu math agad);
17 An sin gabhaidh tu minidh,
agus cuiridh tu tre 'chluais *e* anns an
dorus, agus bithidh e na sheirbhiseach
dhuit

[a] *an coingheall.* [b] *mathaidh, saoraidh.* [c] *chionn gu'n abrar fuasgladh an Tighearna ris.* [d] *A chum nach bi.* [e] *cha teirig, cha'n fhàilingich am bochd a chaoidh as an tìr.*

dhuit gu bràth: agus mar an ceudna
ri d' bhan-oglaich ni thu mar sin.
18 Na measar e cruaidh leat, an
uair a chuireas tu uait saor e; oir bha
e dà uair co-math *dhuitse* ri seirbhis-
each tuarasdail, le seirbhis a dheanamh
dhuit sè bliadhnan: agus beannaichidh
an Tighearna do Dhia thu anns gach
ni a ni thu.
19 Gach ceud-ghin firionn a bheir-
ear am measg do chruidh [a], agus am
measg do threud, naomhaichidh tu
do'n Tighearna do Dhia: cha dean
thu obair sam bith le ceud-ghin do
bhòtha [b], ni mò a lomas tu ceudghin
do chaorach.
20 Am fianuis an Tighearna do
Dhé ithidh tu so bhliadhna gu bliadh-
na, san ionad a thaghas an Tighearna,
thu féin agus do theaghlach.
21 Agus ma bhios gaoid sam bith
ann, crùbaiche, no doille, *no* droch
ghaoid-sam bith, cha 'n ìobair thu e
do'n Tighearna do Dhia.
22 An taobh a stigh do d' gheat-
aibh ithidh tu e; *ithidh* an glan agus
an neo-ghlan comh-ionann *deth*, mar
do'n ruadh-bhoc, agus mar *do*'n fhiadh.
23 A mhàin 'fhuil cha 'n ith thu:
air an talamh dòirtidh tu i mar uisge.

CAIB. XVI.

COIMHID mios Abib, agus cum-
aidh tu a' chàisg do'n Tighearna
do Dhia: oir sa' mhìos Abib thug an
Tighearna do Dhia thu mach as an
Eiphit san oidhche.
2 Uime sin ìobraidh tu chàisg do'n
Tighearna do Dhia, do'n treud agus
do'n bhuar, san ionad a thaghas an
Tighearna chum 'ainm a chur an
sin.
3 Cha'n ith thu aran goirtichte [c]
sam bith leatha: seachd laithean
ithidh tu arân neo-ghoirtichte leatha,
eadhon aran àmhghair, (oir le cabhaig
thàinig thu mach a tìr na h-Eiphit), a
chum gu cuimhnich thu 'n là air an
d'thàinig thu mach a tìr na h-Eiphit,
uile laithean do bheatha.
4 Agus cha 'n fhaicear agad *aran*
goirtichte a'd' chrìochaibh uile rè
sheachd laithean: ni mò a mhaireas *a'*
bheag do'n fheoil a dh'ìobras tu air
feasgar sa' cheud là, rè na h-oidhche
gu maduinn.
5 Cha'n fheud thu chàisg ìobradh
an taobh a stigh aon air bith do'd'
gheataibh, a bheir an Tighearna do
Dhia dhuit.
6 Ach aig an àit a thaghas an Tigh-
earna do Dhia a chur 'ainme ann, an
sin ìobraidh tu chàisg air feasgar, aig
dol fuidhe na gréine, san àm an
d'thàinig thu mach as an Eiphit.
7 Agus ròistidh agus ithidh tu *i*
san àit a thaghas an Tighearn do
Dhia: agus pillidh tu sa' mhaduinn,
agus théid thu do d' bhùthaibh.
8 Sè laithean ithidh tu *aran* gun
ghoirteachadh; agus air an t-seachd-
amh la *bithidh* ard choimhchruinn-
each do'n Tighearna do Dhia: cha
dean thu obair sam bith *air*.
9 Seachd seachduinean àirmhidh tu
dhuit féin: o'n *àm san* tòisich thu air
a' chorran *a chur* san arbhar, tòisich-
idh tu air na seachd seachduinean àir-
eamh.
10 Agus cumaidh tu féisd [d] nan
seachdùine do'n Tighearna do Dhia,
le tiodhlac saor-thoil thabhartais do
làimh, a bheir thu *seachad* a réir mar
a bheannaich an Tighearna do Dhia
thu.
11 Agus ni thu gairdeachas an là-
thair an Tighearna do Dhé, thu féin,
agus do mhac, agus do nighean, agus
t'òglach, agus do bhan-oglach, agus an
Lebhitheach a *tha* 'n taobh a stigh do
d' gheataibh, agus an coigreach, agus
an dìlleachdan, agus a' bhantrach a
tha 'nar measg, san ionad a thagh an
Tighearna do Dhia a chur 'ainme ann.
12 Agus cuimhnichidh tu gu'n
robh thu féin a'd' thràill san Eiphit:
agus coimhididh tu, agus ni thu na
reachda so.
13 Cumaidh tu féisd [e] nam pàilliuna
seachd laithean an déigh dhuit t'ar-
bhar a chruinneachadh a stigh, agus
t'fhìon.
14 Agus ni thu gairdeachas a'd'
fhéisd, thu féin, agus do mhac, agus
do nighean, agus t'òglach, agus do
bhan-oglach, agus an Lebhitheach,
agus

[a] *a thig a'd' chrobh.* [b] *mhairt.* [c] *laibhinte.* [d] *feill, cuirm.*
[e] *feill.*

agus an coigreach, agus an dilleachdan, agus a' bhantrach, a *tha* 'n taobh a ſtigh do d' gheataibh.

15 Seachd laithean cumaidh tu féiſd àraidh[a] do'n Tighearna do Dhia, ſan ionad a thaghas an Tighearna: a chionn gu'm beannaich an Tighearna do Dhia thu a't' chinneas uile, agus ann an oibribh do làmh uile, uime ſin ni thu gu deimhin gairdeachas.

16 Tri uaire ſa' bhliadhna taiſbeinear[b] t'fhirionnaich uile an làthair an Tighearna do Dhé, ſan ionad a thaghas e; ann am féiſd an arain neoghoirtichte, agus ann am féiſd nan ſeachduine, agus ann am féiſd nam pàillinna: agus cha taiſbeinear iad an làthair an Tighearna falamh.

17 Bheir gach duine ſeachad mar is urrainn e, a réir beannachaidh an Tighearna do Dhé, a thug e dhuit.

18 Breitheamhnan, agus uachdarain ni thu dhuit féin an taobh a ſtigh do d' gheataibh uile, a bheir an Tighearna do Dhia dhuit air feadh do threubh: agus bheir iad breth air an t-ſluagh le ceart breitheanas.

19 Cha dean thu breitheanas fhiaradh; cha bhi bàigh agad ri neach ſeach a chéile, ni mò a ghabhas tu tiodhlac[c]: oir dallaidh an tiodhlac ſùile nan daoine glic; agus ſiaraidh[d] e briathra nan ionracan.

20 An ni ſin a ta uile-cheart leanaidh tu, a chum gu'm bi thu beo, agus gu'n ſealbhaich thu 'm fearann a *tha* an Tighearna do Dhia a' tabhairt dhuit.

21 Cha ſuidhich thu dhuit féin doire[e] chraobhan ſam bith làimh ri altair an Tighearna do Dhé, a ni thu dhuit féin.

22 Ni mò a chuireas tu ſuas dhuit féin dealbh[f] *ſam bith*, *ni* a's fuathach leis an Tighearna do Dhia.

CAIB. XVII.

CHA 'n ìobair thu do'n Tighearna do Dhia tarbh, no caora, anns am bheil gaoid, no mi-mhaiſe ſam bith: oir *is* gràineileachd ſin do'n Tighearna do Dhia.

2 Ma gheibhear 'nar meaſg, an taobh a ſtigh aon do d' gheataibh a bheir an Tighearna do Dhia dhuit, fear no bean, a rinn aingidheachd ann an ſùilibh an Tighearna do Dhé, le 'choimhcheangal a bhriſeadh,

3 Agus gu'n deachaidh e agus gu'n d'rinn e ſeirbhis do dhéibh eile, agus gu'n d'rinn e aoradh dhoibh, aon chuid do'n ghréin, no do'n ghealaich, no do uile armailt néimh[g] nach d'àithn miſe;

4 Agus gu'n d'innſeadh dhuit e, agus gu'n cuala tu *e*, agus gu'n do rannſaich thu gu math, agus feuch *gur* fior *e*, *agus* gu'bheil a' chuis deirbhte, *gu'n* do rinneadh a' ghràineileachd ſin ann an Iſrael;

5 An ſin bheir thu mach am fear ſin no a' bhean ſin (a rinn an ni aingidh ſin) chum do gheatacha, *eadhon* am fear ſin no a' bhean ſin, agus clachaidh tu iad le clachaibh, gus am bàſaich iad.

6 Aig beul dà fhianuis, no thri fianuiſean, cuirear gu bàs eſan a tha toillteanach air bàs: cha chuirear gu bàs e aig beul aon fhianuis.

7 Bithidh làmha nam fianuiſean air an toiſeach, g'a chur gu bàs; agus na dheigh ſin làmhan an t-ſluaigh uile: mar ſin cuiridh tu 'n t-olc air falbh o bhur meaſg.

8 Ma dh'éireas cùis a bhios rochruaidh ort ann am breitheanas eadar fuil agus fuil, eadar breth[h] agus breth, agus eadar buille agus buille, *eadhon* cùiſean conſpoid an taobh a ſtigh do d' gheataibh; an ſin éiridh tu, agus théid thu ſuas do'n ionad a thaghas an Tighearna do Dhia,

9 Agus thig thu chum nan ſagart nan Lebhitheach, agus a chum a' bhreitheimh a bhios anns na laithibh ſin, agus fioſraichidh tu; agus nochdaidh iad dhuit focal[k] a' bhreitheanais.

10 Agus ni thu a réir na breithe a nochdas muinntir an àite ſin (a

thaghas

[a] *ard, ſhònruichte.* [b] *nochdar.* [c] *gibht.* [d] *truaillidh.* [e] *bad.*
[f] *iombaigh, coſlas.* [g] *do h-aon do ſhlògh néimh.* [h] *tagartas, cùis-lagha.*
[k] *binn.*

thaghas an Tighearna) dhuit, agus bheir thu 'n aire gu'n dean thu a réir gach ni a theagaisgeas iad duit:

11 A réir breth an lagha a theagaisgeas iad dhuit, agus a réir a bhreitheanais a dh'innseas iad duit, ni thu: cha chlaon thu o'n bhreth a nochdas iad duit, a chum na làimhe deise no na làimhe clìthe.

12 Agus an duine a ni [a] gu h-an-dàna [b], agus nach éisd ris an t-sagart, (a sheasas gu frithealadh an sin an làthair an Tighearna do Dhé), no ris a' bhreitheamh, bàsaichidh eadhon an duine sin, agus cuiridh tu 'n t-olc air falbh o Israel.

13 Agus cluinnidh an sluagh uile, agus bithidh eagal orra, agus cha dean iad gu h-an-dàna ni's mò.

14 'Nuair a thig thu chum an fhearainn a bheir an Tighearna do Dhia dhuit, agus a shealbhaicheas tu é, agus a ghabhas tu còmhnuidh ann, agus a their thu, Cuiridh mi righ os mo cheann, mar na cinnich uile *ta* m'an cuairt orm:

15 Cuiridh tu air gach aon chor esan na righ os do cheann a thaghas an Tighearna do Dhia: *aon* o mheasg do bhràithre cuiridh tu na righ os do cheann: cha 'n fheud thu coigreach a chur os do cheann, nach 'eil na bhràthair dhuit.

16 Ach cha chuir e eich an lìonmhoireachd dha féin, ni mò a bheir e air an t-sluagh pilleadh do'n Eiphit, a chum as gu'n cuir e eich an lìonmhoireachd: do bhrìgh gu'n dubhairt an Tighearna ribh, Cha phill sibh a so a mach ni's mò air an t-slighe sin.

17 Ni mò chuireas e mnài an lìonmhoireachd dha féin, a chum nach claon a chridhe air falbh: ni mò a mheudaicheas e gu mòr dha féin airgiod agus òr.

18 Agus an uair a shuidheas e air righ-chaithir a rioghachd, an sin athsgrìobhaidh e dha féin an lagh so [c] ann an leabhar, as an *leabhar sin a tha* 'n làthair nan sagart nan Lebhitheach.

19 Agus bithidh e aige, agus leughaidh e ann, uile làithean a bheatha; chum gu fòghlum e eagal an Tighearn a Dhé a bhi air, uile bhriathran an lagha so a ghleidheadh, agus na reachda so, chum an deanamh:

20 A chum nach bi 'chridhe air a thogail suas os ceann a bhràithre, agus nach claon e o'n àithnè chum na làimhe deise no na làimhe clìthe: air chor as gu'm buanaich e a laithean na rioghachd, e féin agus a chlann am meadhon *Israeil.*

CAIB. XVIII.

CHA bhi aig na sagartaibh na Lebhithich, *eadhon* uile thréibh Lebhi, roinn sam bith no oighreachd maille ri h-Israel: ithidh iad tabhartais an Tighearna bheirear suas le teine, agus 'oighreachd-san.

2 Uime sin cha bhi oighreachd sam bith aca am measg am bràithre: *is* e 'n Tighearna féin an oighreachd, mar a thubhairt e riu.

3 Agus is e so dlighe nan sagart o'n t-sluagh, uatha-san a dh'iobras iobairt, ma's tarbh no caora e; agus bheir iad do'n t-sagart an slinnean, agus na gialan, agus a' mhaodal.

4 Ceud thoradh *mar an ceudna* t'arbhair, t'fhiona, agus t'olaidh, agus ceud lomradh [d] do chaorach bheir thu dha:

5 Oir thagh an Tighearna do Dhia e mach as do threubhaibh uile, gu seasamh chum frithealaidh ann an ainm an Tighearn, e féin agus a mhic gu bràth.

6 Agus ma thig Lebhitheach o h-aon do d' gheataibh a mach a h-Israel uile, far am bheil e air chuairt, agus ma thig e le uile thogradh 'inntinn do'n ionad a thaghas an Tighearna;

7 An sin frithealaidh e ann an ainm an Tighearn a Dhé, mar a bhràithrean uile na Lebhithich, a tha nan seasamh an sin an làthair an Tighearna.

8 Bithidh ac' uiread ri chéile r'a itheadh, a bhàrr air na thig air o reiceadh a chuid duine-cloinne.

9 'Nuair a thig thu do'n fhearann a tha 'n Tighearna do Dhia a' toirt duit, cha 'n fhòghluim thu dheanamh

a *ghiùlaineas e féin.* b *dalma.* c *sgrìobhaidh e dha féin dùblachadh an lagha so.* d *rùsgadh.*

imh a réir gràinealachd nan cinneach
sin.
10 Cha'n fhaighear 'nar measg
neach air bith a bheir air a mhac, no
air a nighinn dol tre'n teine, *no* ghnàth-
aicheas fiosachd, no speuradair [a], no
fear-fàistineachd, no ghnàthaicheas
droch innleachda [b].
11 *No* seunadair [c], no neach a
dh'fhiosraicheas do leannan-sìth [d], no
druidh, no neach a dh'iarras eòlas o
na mairbh.
12 Oir *is* gràinealachd do'n Tigh-
earn iadsan uile a ni na nithe sin; agus
air son nan gràinealachd sin, tha'n
Tighearna do Dhia 'gam fuadachadh
a mach romhad.
13 Bithidh tusa coimhlionta maille
ris an Tighearna do Dhia.
14 Oir dh'éisd na cinnich sin a
shealbhaicheas tusa ri speuradairean,
agus ri fiosaichibh: ach air do shon-
sa, cha do leig an Tighearna do Dhia
leat mar sin *a dheanamh*.
15 Togaidh an Tighearna do Dhia
suas fàidh dhuit o d' mheadhon féin,
o d' bhràithribh, cosmhuil riumsa; ris-
san éisdidh sibh.
16 A réir nan uile nithe a dh'iarr
thu o'n Tighearna do Dhia ann an
Horeb, ann an là a' choimhchruinnich,
ag ràdh, Na cluinneamsa rìs guth an
Tighearna mo Dhé, agus na faiceam
an teine mòr so ni's mò, a chum nach
bàsaich mi.
17 Agus thubhairt an Tighearna
riumsa, Is math *a labhair iad an ni* a
labhair iad.
18 Togaidh mise suas fàidh dhoibh
o mheasg am bràithre, cosmhuil riutsa,
agus cuiridh mi mo briathra na bheul,
agus labhraidh e riu gach ni a dh'àithn-
eas mi dha.
19 Agus tarlaidh, an duine nach
éisd ri m' bhriathraibhse a labhras e
a'm' ainm, iarraidh mi uaith *e*:
20 Ach am fàidh aig am bi dhàn-
adas focal a labhairt a'm' ainm, nach
d'àithn mise dha a labhairt, no labhras
ann an ainm dhiathan eile, gu cinnt-
each bàsaichidh am fàidh sin.
21 Agus ma their thu ann do
chridhe, Cionnus a dh'aithnicheas sinn
am focal nach do labhair an Tigh-
earna?
22 'Nuair a labhras fàidh ann an
ainm an Tighearna, mur tachair an
ni, agus mur dthig e gu crìch, *is* e
sin an ni nach do labhair an Tigh-
earna; gu h-an-dàna labhair am fàidh
e: cha bhi eagal ort roimhe.

C A I B. XIX.

'NUAIR a ghearras an Tighearna
do Dhia as na cinnich, aig an
robh am fearann a tha 'n Tighearna
do Dhia a' tabhairt duit, agus a thig
thu nan àite, agus a ghabhas tu còmh-
nuidh nam bailtibh [e], agus nan
tighibh;
2 Cuiridh tu air leth dhuit féin tri
bailtean am meadhon t'fhearainn a
bheir an Tighearna do Dhia dhuit r'a
shealbhachadh.
3 Deasaichidh tu dhuit féin slighe,
agus roinnidh tu crìocha [f] t'fhearainn-
(a bheir an Tighearna do Dhia dhuit
r'a shealbhachadh) nan tri earrann-
aibh, a chum gu feud gach marbh-
aiche teicheadh an sin.
4 Agus *is* e so cor [g] a' mharbh-
aiche, a theicheas an sin, a chum gu'm
bi e beò: Ge b'e a mharbhas a choimh-
earsnach gun fhios da, do nach robh
fuath aige roimhe [h]:
5 Mar a ta 'nuair a théid duine
maille r'a choimhearsnach do'n choille
ghearradh fiodha, agus a bheir a làmh
buille leis an tuaidh a ghearradh sìos
na craoibh, agus a leumas an ceann
bhàrr na coise [k], agus a thuiteas e air
a choimhearsnach, air chor as gu'm
bàsaich e; teichidh e chum aon do na
bailtibh sin, agus bithidh e beo:
6 Air eagal gu'n lean dìoghaltair
na fola am marbhaiche, am feadh 's a
ta 'chridhe teth, agus gu'm beir e air,
a chionn gu bheil an t-slighe fada,
agus gu marbh se e, ge d' nach robh
e toillteanach air bàs, do bhrìgh nach
robh fuath aige dha san àm a chaidh
seachad.

7 Uime

[a] *mheasas aimsire ni's ambartanaiche na chéile.* [b] *buitseachas.* [c] *charmer.* Sasg. [d] *spiorad fiosachd.* [e] *caithreachaibh.* [f] *iomall.* [g] *cùis.* [h] *an dé no air a' bhònde.* Eabh. [k] *sambacha.*

7 Uime sin tha mi ag àithneadh
dhuit, ag ràdh, Cuiridh tu air leth
dhuit féin tri bailte.
8 Agus ma leudaicheas an Tigh-
earna do Dhia do chrioch, (mar a
mhionnaich e do t'aithreachaibh,) agus
ma bheir e dhuit am fearann uile a
gheall e thoirt do t'aithreachaibh ;
9 (Ma bheir thu an aire na h-àith-
eanta sin uile a dheanamh, a *tha* mise
ag àithneadh dhuit an diugh, an Tigh-
earna do Dhia a ghràdhachadh, agus
gluasad a ghnàth na shlighibh,) an
sin cuiridh tu air leth dhuit féin tri
bailtean eile thuilleadh air an tri sin :
10 A chum nach dòirtear fuil neo-
chiontach a't' fhearann, a bheir an
Tighearna do Dhia dhuit mar oigh-
reachd, agus nach bi *mar sin* fuil ort.
11 Ach ma tha aig duine sam bith
fuath d'a choimhearsnach, agus gu'n
luidh e 'm plaid air a shon [a], agus
gu'n éirich e suas na aghaidh, agus
gu'm buail e gu marbhtach e, air
chor as gu'm faigh e bàs, agus gu'n
teich e gu h-aon do na bailtibh sin ;
12 An sin cuiridh seanairean a
bhaile féin *fios* uatha, agus bheir iad
as sin e, agus bheir iad thairis e do
làimh dìoghaltair na fola, a chum
gu'm bàsaich e.
13 Cha ghabh do shùil truas ris,
ach cuiridh tu air falbh *cionta* fola
neo-chiontaich o Israel, a chum as
gu'n éirich gu math dhuit.
14 Cha 'n atharraich thu crìoch
fearainn do choimhearsnaich, a shuidh-
ich na sinnsir a't' oighreachd a shealbh-
aicheas tu, anns an fhearann a bheir
an Tighearna do Dhia dhuit r'a
shealbhachadh.
15 Cha 'n éirich aon fhianuis *a
mhàin* suas an aghaidh duine air son
eucorach sam bith, no air son peac-
aidh sam bith, ann am peacadh sam
bith a pheacaicheas e : aig beul dà
fhianuis, no aig beul tri fianuisean
daingnichear a' chùis.
16 Ma dh'éireas fianuis bhréige
suas an aghaidh duine sam bith, a
thoirt fianuis na aghaidh air an eu-
ceart ;
17 An sin seasaidh an dithis
dhaoine aig am bheil an connsachadh,
am fianuis an Tighearn, an làthair
nan sagart, agus nam breitheamhna a
bhios anns na laithibh sin.
18 Agus ni na breitheamhna rann-
sachadh geur : agus feuch, *ma's* fianuis
bhréige an fhianuis, *agus* gu'n d'thug
e fianuis bhréige an aghaidh a brà-
thar,
19 An sin ni sibh ris, mar a shaoil
esan a dheanamh r'a bhràthair : mar
sin cuiridh tu air falbh an t-olc as
bhur measg.
20 Agus cluinnidh iadsan a mhair-
eas, agus bithidh eagal orra, agus cha
dean iad o sin a mach a shamhuil so
do olc 'nar measg.
21 Agus cha ghabh do shùil truas ;
ach théid anam air son anma, sùil air
son sùla, fiacail air son fiacla, làmh air
son làimhe, cos air son coise.

CAIB. XX.

'NUAIR a théid thu mach gu
cath [b] an aghaidh do naimhd-
ean, agus a chi thu eich agus carbaid,
agus sluagh a's lìonmhoire na thu
féin, na biodh eagal ort rompa : oir
tha 'n Tighearna do Dhia maille riut,
a thug a mach thu a tìr na h-Eiphit.
2 Agus an uair a dhlùthaicheas
sibh ris a' chath, an sin thig an sagart
am fagus, agus labhraidh e ris an
t-sluagh,
3 Agus their e riu, Eisd, O Israel,
tha sibh an diugh a' dol gu cath an
aghaidh bhur naimhde : na biodh
bhur cridhe fann, na biodh eagal oirbh,
agus na criothnaichibh, agus na biodh
uamhann oirbh air an son ;
4 Oir *tha* 'n Tighearna bhur Dia
a' dol maille ribh, a chogadh air bhur
son an aghaidh bhur naimhde, a chum
bhur tearnadh.
5 Agus labhraidh an luchd-riagh-
laidh ris an t-sluagh, ag ràdh, Cia
am fear a thog tigh nomha [c], agus
nach do choisrig e ? rachadh e agus
pilleadh e chum a thighe, an t-eagal
gu'm bàsaich e sa' chath, agus gu'n
coisrig fear eile e.
6 Agus cia an duine a shuidhich
fìon-lios, agus nach d'ith *fathast* dheth ?
rachadh esan *mar an ceudna*, agus pill-
eadh e g'a thigh, air eagal gu'm
bàsaich

[a] *gu caith e feall air.* [b] *cogadh.* [c] *nuadh.*

bàſaich e ſa' chath, agus gu'n ith neach eile dheth.

7 Agus cia an duine a rinn ceangal-pòſaidh ri mnaoi, agus nach do ghabh *d'a ionnſuidh* i? rachadh e agus pilleadh e d'a thigh, air eagal gu'm bàſaich e ſa' chath, agus gu'n gabh neach eile i *d' a ionnſuidh*.

8 Agus labhraidh an luchd-riaghlaidh a bhàrr air ſin ris an t-ſluagh, agus their iad, Cia an duine a ta gealtach, agus lag-chridheach? rachadh e agus pilleadh e d'a thigh, a chum nach dean e cridhe a bhràithre lag mar a chridhe féin.

9 Agus tarlaidh 'nuair a chuireas an luchd-riaghlaidh crìoch air labhairt ris an t-ſluagh, gu'n cuir iad ceannardan air na h-armailtibh gus an ſluagh a thoirt air an aghaidh [a].

10 'Nuair a thig thu 'm fagus do bhaile [b] gu cogadh na aghaidh, an ſin gairmidh tu sìth dha.

11 Agus tarlaidh, ma bheir e freagradh na sìth dhuit, agus ma dh'fhoſglas e dhuit, an ſin tarlaidh gu'm bi 'n ſluagh uile *a* gheibhear ann ſuidhchis dhuit, agus gu'n dean iad féin bhis dhuit.

12 Agus mur dean e sìth riut, ach gu'n cog e riut, an ſin cuiridh tu gu cruaidh na aghaidh [c].

13 Agus *an uair* a bheir an Tighearna do Dhia thairis do d'làimh e, buailidh tu gach firionnach ann le faobhar a' chlaidheimh.

14 Ach na mnài, agus a' chlann bheag, agus an ſpréidh, agus na h-uile nithe a tha ſa' bhaile, *eadhon* a' chreach uile, gabhaidh tu dhuit féin; agus ithidh tu creach do naimhdean, a thug an Tighearna do Dhia dhuit.

15 Mar ſo ni thu ris na bailtibh *ſin* uile *a tha* ro-fhada uait, nach *'eil* do bhailtibh nan cinneach ſin.

16 Ach do bhailtibh an t-ſluaigh ſin a tha 'n Tighearna do Dhia a' toirt duit mar oighreachd, cha ghléidh thu ni ſam bith beò annſ am bheil anail:

17 Ach ſgrioſaidh tu gu tur iad, *eadhon* na Hitich, agus na h-Amoraich, na Canaanaich, agus na Peridſich, na Hibhich, agus na Iebuſaich, a réir mar a dh'àithn an Tighearna do Dhia dhuit:

18 A chum nach teagaiſg iad duit a dheanamh a réir an uile ghràinealachd, a rinn iad d'an déibh; mar ſin pheacaicheadh ſibh an aghaidh an Tighearna bhur Dé.

19 'Nuair a chuireas tu gu cruaidh an aghaidh [d] baile rè ùine fhada, a' deanamh cogaidh na aghaidh chum a ghlacadh, cha chuir thu as d'a chraobhaibh le tuadh a bhualadh orra: oir feudaidh tu itheadh dhiubh, agus cha ghearr thu sìos iad, (oir *is* i craobh na machrach *beatha* duine,) chum an gnàthachadh ann an cur an aghaidh *a' bhaile*.

20 A mhàin na craobhan a's aithne dhuit féin nach craobhan bidh iad, ſgrioſaidh agus gearraidh tu sìos iad; agus togaidh tu daingnichean [e] an aghaidh a' bhaile a chogas riut gus an ceannſaich thu e [f].

CAIB. XXI.

MA gheibhear *neach* air a mharbhadh ſan fhearann a bheir an Tighearna do Dhia dhuit r'a ſhealbhachadh, na luidhe ſa' mhachair, agus gun fhios cò mharbh e;

2 An ſin thig do ſheanairean agus do bhreitheamhnan a mach, agus tomhaiſidh iad a chum nam bailtean *a tha* mu'n cuairt airſan a mharbhadh.

3 Agus tarlaidh gu'n gabh am baile a's faigſe do'n duine a mharbhadh, eadhon ſeanairean a' bhaile ſin agh leis nach d'rinneadh obair, nach do tharruing *riamh* ann an cuing;

4 Agus bheir ſeanairean a' bhaile ſin an t-agh sìos do ghleann garbh nach do threabhadh agus nach do ſhìol-chuireadh, agus gearraidh iad an ſin amhach [g] an aighe dheth ſa' ghleann;

5 Agus thig na ſagairt mic Lebhi am fagus, (oir iadſan thagh an Tighearna do Dhia gu frithealadh dha féin, agus gu beannachadh ann an ainm an Tighearna), agus a réir am focail-

[a] *gu'n àireamh ceannardan nan armailtean an ſluagh fa leth.* [b] *chathair.* [c] *cuiridh tu ſéiſde ris, dubhaidh is teannaidh tu e.* [d] *ſéiſde ri.* [e] *duinchatha.* [f] *gus an glacar e.* [g] *muineal.*

focail-san crìochnaichear[a] gach uile chonnsachadh, agus gach uile bhuille.

6 Agus nighidh uile sheanairean a' bhaile sin *a's* faigse do'n *duine* a mharbhadh, an làmhan os ceann an aighe d'an do ghearradh an amhach sa' ghleann:

7 Agus freagraidh iad agus their iad, Cha do dhòirt ar làmhan an fhuil so, ni mò a chunnaic ar sùilean *i*.

8 Bi tròcaireach, O Thighearna, do d' shluagh Israel, a shaor thu, agus na cuir fuil neo-chiontach a leth do shluaigh Israeil. Agus mathar an fhuil dhoibh.

9 Mar sin cuiridh tu air falbh *cionta* na fola neo-chiontaich o bhur measg, do bhrì' gu'n dean thu *an ni a ta* ceart ann an sùilibh an Tighearna.

10 'Nuair a théid thu mach gu cogadh an aghaidh do naimhdean, agus gu'n dthoir an Tighearna do Dhia thairis iad do d'làimh, agus gu'n dean thu braighde dhiubh,

11 Agus gu'm faic thu measg nam braighde bean sgiamhach, agus gu bheil déigh agad oirre, agus gu'm bu mhath leat agad i na mnaoi;

12 An sin bheir thu dhachaidh i do d' thigh, agus beartaidh i a ceann, agus bheir i dhith a h-ingean.

13 Agus cuiridh i dhith a h-eudach braighdeanais, agus fanaidh i a'd' thigh, agus ni i caoidh[b] air son a h-athar agus a màthar mios iomlan: agus an déigh sin théid thu steach d'a h-ionnsuidh, agus bithidh tu a't' fhear-pòsda[c] aice, agus bithidh ise na mnaoi agad.

14 Ach mur bi tlachd agad innte, an sin leigidh tu leatha dol far an àill leatha. ach cha reic thu idir air airgiod i, ni mò a ni thu ain-tighearnas oirre[d], a chionn gu'n d'ìslich thu i.

15 Ma bhios aig duine dà mhnaoi, aon diubh gràdhaichte agus an aon eile fuathaichte, agus ma rug iad clann da, araon a' bhean ghràdhaichte agus a' bhean fhuathaichte; agus ma's leis a' mhnaoi fhuathaichte an ceud-ghin mic,

16 An sin tarlaidh, 'nuair a bheir e sealbh d'a mhic air *an ni* a ta aige, nach fheud e ceud-ghin a dheanamh do mhac na *mnà* gràdhaichte roimh mhac na *mnà* fuathaichte, *a's e da rìreadh* an ceud-ghin:

17 Ach gabhaidh e ri[e] mac na *mnà* fuathaichte mar an ceud-ghin le roinn dhùbailte a thoirt da do gach ni a ta aige: oir *is* esan toiseach a neirt, *is* leis còir a' cheud-ghin.

18 Ma bhios aig duine mac reasgach[f] agus ceannairceach, nach géill do ghuth 'athar, no do ghuth a mhàthar, agus an uair a smachdaicheas iad e, nach éisd riu:

19 An sin beiridh 'athair agus a mhàthair air, agus bheir iad a mach e gu seanairean a bhaile, agus gu geatadh 'àite féin;

20 Agus their iad ri seanairibh a' bhaile, *Tha ar* mac so reasgach agus ceannairceach, cha dthoir e géill d'ar guth; *tha e* na gheòcair agus na mhisgeir.

21 Agus clachaidh uile dhaoine a bhaile e le clachaibh a chum as gu'm bàsaich e: mar sin cuiridh tu olc air falbh as bhur measg, agus cluinnidh Israel uile, agus bithidh eagal orra

22 Agus ma rinn duine peacadh a tha toillteanach air bàs, agus gu'm bi e r'a chur gu bàs, agus gu'n croch thu ri craoibh e:

23 Cha 'n fhan a chorp rè na h-oidhche air a' chraoibh, ach air gach aon chor adhlaicidh tu e air an là sin féin (oir mallaichte le Dia *tha* esan a chrochadh:) agus cha salaich thu t'fhearann, a *tha* 'n Tighearna do Dhia a' toirt duit mar oighreachd.

C A I B. XXII.

'Nuair a chì thu damh do bhràthar, no a chaora dol air seachran, cha'n *fholaich* thu thu féin uatha: bheir thu air gach aon chor air an ais iad a ris a dh'ionnsuidh do bhràthar.

2 Agus mur bi do bhràthair làimh riut, no mur aithne dhuit e, an sin bheir thu e dh'ionnsuidh do thighe féin

[a] *bithidh.* Eabh. [b] *caoinidh i.* [c] *na t' fhear-pòsda.* [d] *marsantachd leatha.* [e] *aidmhichidh e gur e.* [f] *eas-ùmhal.*

féin, agus bithidh e maille riut gus an iarr do bhràthair e, agus bheir thu air 'ais dha e.

3 Air a' mhodh-cheudna ni thu r'a asal, agus mar so ni thu r'a eudach, agus mar so ni thu ris na h-uile nithibh caillte le d' bhràthair, a chaill e, agus a fhuair thusa: cha 'n fheud thu thu féin fholach.

4 'Nuair a chi thu asal do bhràthar, no a dhamh a' tuiteam sìos air an t-slighe, cha'n fholaich thu thu féin uatha: gu cinnteach togaidh tu suas *iad* maille ris a rìs.

5 Cha chaith bean an ni sin a's le fear, ni mò a chuireas fear uime eudach mnà: oir *is* gràinealachd do'n Tighearna do Dhia iadsan uile a ni so.

6 Ma tharlas do nead eoin a bhi romhad san t-slighe ann an craoibh sam bith, no air làr, *ma's* eoin òg *iad*, no uibhean, agus a' mhàthair na suidheadh air an àlach[a], no air na h-uibhibh, cha ghlac thu a' mhàthair maille ris an àlach:

7 Air gach aon chor leigidh tu leis a' mhàthair dol as, agus an t-àlach gabhaidh tu dhuit féin; a chum gu'n éirich gu math dhuit, agus *gu*'m buanaich thu *do* làithean.

8 'Nuair a thogas tu tigh nomha, an sin togaidh tu barr-bhalla d'a mhullach, a chum nach dthoir thu *fuil* air do thigh, ma thuiteas duine sam bith o sin.

9 Cha chuir thu t'fhìon-lios le h-iomadh gnè *sìl*, an t-eagal gu'n truaillear toradh do shìl a chuir thu, agus meas t'fhìon-lios.

10 Cha dean thu ar[b] le damh agus le h-asal maille ri chéile.

11 Cha chuir thu umad eudach measgta, *mar* do olann agus do lìon le chéile.

12 Ni thu dhuit féin fàbhran[c] air ceithir cheithreanaibh t'eudaich leis an còmhdaich thu *thu féin*.

13 Ma ghabhas duine bean, agus gu'n dthéid e steach d'a h-ionnsuidh, agus gu'm fuathaich e i,

14 Agus gu'n dthoir e aobhar cainnte na h-aghaidh, agus gu'n tog e suas droch ainm oirre, agus gu'n abair e, Ghabh mi a' bhean so, agus an uair a thàinig mi d'a h-ionnsuidh, cha d'fhuair mi na maighdinn i:

15 An sin gabhaidh athair na h-ighinn[d], agus a màthair, agus bheir iad a mach *combaran* maighdeanais na h-ighinn gu seanairibh a' bhaile anns a' gheata.

16 Agus their athair na h-ighinn ris na seanairibh, Thug mi mo nighean do'n duine so na mnaoi, agus tha fuath aige oirre:

17 Agus feuch, thug e aobhar cainnte *na h-aghaidh*, ag ràdh, Cha d'fhuair mi do nighean na maighdinn; agus gidheadh *is* iad sin *combaran* maighdeanais mo nighinn: agus sgaoilidh iad an t-eudach an làthair sheanairean a' bhaile.

18 Agus gabhaidh seanairean a' bhaile sin an duine, agus smachdaichidh iad e:

19 Agus cuiridh iad ùbhla cheud *secel* airgid air, agus bheir iad do athair na h-ighinn iad, a chionn gu'n do thog e droch ainm air òigh do *chloinn* Israeil; agus bithidh i na mnaoi aige, cha 'n fheud e a cur uaith r'a bheò.

20 Ach ma tha an ni so fìor, *agus* nach 'eil *combaran* maighdeanais r'am faghail do'n nighinn;

21 An sin bheir iad a mach an nighean gu dorus tighe a h-athar, agus clachaidh daoine a baile i le clachaibh gus am bàsaich i; a chionn gu'n d'oibrich i amaideachd ann an Israel le strìopachas a dheanamh ann an tigh a h-athar: mar sin cuiridh tu air falbh olc as bhur measg.

22 Ma gheibhear duine a' luidhe le mnaoi a tha pòsda ri fear, an sin cuirear gu bàs iad le chéile, an duine a luidh leis a' mhnaoi, agus a' bhean: mar sin cuiridh tu olc air falbh o Israel.

23 Ma tha nighean, *agus i na h-òigh*, fuidh cheangal-pòsaidh aig fear, agus gu'm faigh duine i sa' bhaile, agus gu'n luidh e leatha:

24 An sin bheir sibh a mach iad le chéile gu geatadh a' bhaile sin, agus clachaidh sibh iad le clachaibh gus am

bàsaich

[a] *na h-eunaibh òga, isseanaibh.* [b] *treabhadh.* [c] *faimean, oirean.*
[d] *na nighinn; na h-inghin.* Eir.

bàſaich iad; an nighean, a chionn nach do ghlaodh i, *agus i bhi* ſa' bhaile; agus am fear, a chionn gu'n d'iſlich e bean a choimhearſnaich: mar ſin cuiridh tu air falbh olc as bhur-meaſg.

25 Ach ma gheibh fear ſa' mhachair nighean a tha fuidh cheangal-pòſaidh, agus gu'n éignich an duine i, agus gu'n luidh e leatha, an ſin cuirear a mhàin an duine a luidh leatha gu bàs.

26 Ach air an nighinn cha dean thu bheag ſam bith, cha *'n'eil* ſan nighinn coire bàis: oir mar an uair a dh'éireas duine ſuas an aghaidh a choimhearſnaich, agus a mharbhas ſe e, mar ſin a ta chùis ſo:

27 Oir fhuair e ſa' mhachair i, *agus* dh'éigh an nighean a bha fuidh cheangal-pòſaidh, agus cha *robh* neach ann g'a teaſairginn.

28 Ma gheibh duine nighean *a tha* na h-òigh, nach 'eil fuidh cheangal-pòſaidh, agus gu'n dean e greim oirre, agus gu'n luidh e leatha, agus gu'm faighear iad;

29 An ſin bheir am fear a luidh leatha do athair na h-ighinn leth-cheud *ſecel* airgid, agus bithidh i na mnaoi aige, a chionn gu'n d'iſlich e i, cha 'n fheud e a cur uaith r'a bheò.

30 Cha ghabh duine d'a ionnſuidh bean 'athar, ni mò a leigeas e ris còmhdachadh 'athar.

CAIB. XXIII.

CHA dthéid eſan aig am bheil a chlochan air am bruthadh[a], no 'bhall dìomhair air a ghearradh dheth, a ſteach do choimhchruinneach an Tighearna.

2 Cha dthéid fear dìolain a ſteach do choimhchruinneach an Tighearna; eadhon gu nuig an deicheamh ginealach cha dthéid e ſteach do choimhchruinneach an Tighearna.

3 Cha dthéid Amonach no Moabach a ſteach do choimhchruinneach an Tighearna; eadhon gus an deicheamh ginealach cha dthéid iad a ſteach do choimhchruinneach an Tighearn a chaoidh.

4 A chionn nach do choinnich iad ſibh le h-aran agus le h-uiſge air an t-ſlighe, 'nuair a thàinig ſibh a mach as an Eiphit, agus a chionn gu'n do thuaraſdalaich iad a'd'aghaidh Balaam mac Bheoir o Phetor na Meſopotamia, chum do mhallachadh.

5 Gidheadh, cha 'n éiſdeadh an Tighearn do Dhia ri Balaam; ach thionndaidh an Tighearna do Dhia dhuit am mallachadh gu beannachadh, a chionn gu'm bu toigh leis an Tighearna do Dhia thu.

6 Cha 'n iarr thu an sìth, no an ſonas rè t'uile làithean gu bràth.

7 Cha ghabh thu gràin do Edomach, oir *is* e do bhràthair e: cha ghabh thu gràin do Eiphiteach, a chionn gu'n robh thu a'd' choigreach na fhearann.

8 Théid a' chlann a ghinear leòſan, a ſteach do choimhchruinneach an Tighearna, nan treas ginealach.

9 'Nuair a théid *t'*fheachd[b] a mach an aghaidh do naimhdean, an ſin gleidh thu féin o gach droch ni.

10 Ma bhios 'nar meaſg duine ſam bith nach 'eil glan, a thaobh neo-ghloine a tharlas da ſan oidhche, an ſin théid e mach as a' champ, cha dthig e ſteach do mheadhon a' chaimp.

11 Ach an uair a bhios e dlùth do'n fheaſgar, an ſin nighidh ſe *e féin* le h-uiſge, agus an uair a théid a' ghrian fodha[c], thig e ſteach do mheadhon a' chaimp.

12 Bithidh agad àite mar an ceudna an taobh a muigh do'n champ, far an dthéid thu mach.

13 Agus bithidh pleadhag[d] agad air do chrios[e], agus an uair a ſhuidheas tu a muigh, cladhaichidh tu leatha, agus tionndaidh tu air t'ais, agus folaichidh tu an ni a thig uait.

14 Oir tha 'n Tighearna do Dhia ag imeachd am meadhon do chaimp, chum do ſhaoradh, agus a chum do naimhdean a thoirt thairis romhad: uime ſin bithidh do champ naomha,

chum

[a] *air an lotadh.* [b] t'*armailt*, do *champa.* [c] *ſuidhe.* [d] *ſluaſaid.*
[e] *air do bhall-airm.*

chum nach faic e ni ſam bith neo-
ghlan annad, agus nach pill e air
falbh uait.
15 Cha dthoir thu ſuas d'a
mhaighſdir an ſeirbhiſeach a chaidh
as[a] a't' ionnſuidh o 'mhaighſdir.
16 Maille riut gabhaidh e comh-
nuidh 'nar meaſg, anns an àit a
thaghas e, an taobh a ſtigh aon do d'
gheataibh far an taitniche leis: cha
dean thu foirneart air.
17 Cha bhi ſtriopach air bith do
nigheanaibh Iſraeil, ni mò bhios So-
domach do mhacaibh Iſraeil.
18 Cha dthoir thu tuaraſdal ſtriop-
aich, no luach coin do thigh an Tigh-
earna do Dhé air ſon bòid ſam bith:
oir tha iad ſin eadhon le chéile nan
gràinealachd do'n Tighearna do Dhia.
19 Cha dthoir thu *ni ſam bith* an
coingheall[b] do d' bhràthair air riadh[c];
riadh airgid, riadh bidh, riadh ni
ſam bith a bheirear an coingheall air
riadh.
20 Do choigreach feudaidh tu *ni* a
thoirt an coingheall air riadh, ach do
d' bhràthair cha dthoir thu ni ſam
bith an coingheall air riadh; a chum
gu'm beannaich an Tighearna do
Dhia thu anns gach ni ris an cuir thu
do làmh, ſan fhearann d'am bheil thu
dol g'a ſhealbhachadh.
21 'Nuair a bheir thu bòid do'n
Tighearna do Dhia, cha dean thu
moille na h-iocadh: oir gu cinnteach
iarraidh an Tighearna do Dhia uait
i; agus bhiodh e na pheacadh dhuit.
22 Ach ma dh'fhanas tu gun bhòid
a thoirt, cha bhi e na pheacadh
dhuit[d].
23 An ni ſin a chaidh mach as do
bhilibh, coimhididh agus coimhlion-
aidh tu; a réir mar a bhòidich thu
do'n Tighearna do Dhia, *eadhon* tabh-
artas ſaor-thoile, a gheall thu le d'
bheul.
24 'Nuair a théid thu ſteach do
fhìon-lios do choimhearſnaich, an ſin
feudaidh tu fìon-dhearcan itheadh mar
is miann leat, *eadhon* do ſhàth; ach
cha chuir thu bheag a'd' ſhoitheach.
25 'Nuair a théid thu ſteach a dh'
arbhar do choimhearſnaich, an ſin
feudaidh tu na diaſan a ſpìonadh le
d' làimh, ach corran cha chuir thu
ann an arbhar do choimhearſnaich.

C A I B. XXIV.

'NUAIR a ghabhas fear bean,
agus a phòſas e i, agus gu'n
tachair nach faigh i deagh-ghean na
ſhùilibh, a chionn gu'n d'fhuair e neo-
ghloine éigin innte; an ſin ſgrìobh-
adh e litir-dhealachaidh[e] dh'i, agus
thugadh e na làimh *i*, agus cuireadh
e mach as a thigh *i*.
2 Agus an uair a dh'fhalbhas i
mach as a thigh, feudaidh i dol agus a
bhi *na mnaoi* aig fear eile.
3 Agus *ma* dh'fhuathaicheas am
fear pòſda ma dheireadh ſo i, agus
gu'n ſgrìobh e litir-dhealachaidh dh'i,
agus gu'n dthoir e na làimh i, agus
gu'n cuir e mach as a thigh i; no ma
gheibh am fear ma dheireadh bàs, a
ghabh i na mnaoi dha féin;
4 Cha 'n fheud a ceud fhear-pòſda
a chuir uaith i, a gabhail a rìs gu bi
na mnaoi dha, an deigh dh'i bhi air
a truailleadh: oir is gràinealachd ſin
an làthair an Tighearna, agus cha
dthoir thu air an fhearann[f] peacach-
adh, a *tha'n* Tighearna do Dhia a'
toirt duit mar oighreachd.
5 'Nuair a ghabhas duine bean
nuadh, cha dthéid e mach gu cogadh,
ni mò a chuirear cùram gnothuich
ſam bith air: fanaidh e ſaor aig a
thigh féin aon bhliadhna, agus bheir
e ſubhachas d'a mhnaoi a ghabh e.
6 Cha ghabh duine ſam bith a'
chlach-mhuilinn iochdrach no uachd-
rach mar gheall: oir tha e gabhail
anma *duine* mar gheall.
7 Ma gheibhear duine a' goideadh
aon neach d'a bhràithribh do chloinn
Iſraeil, agus ma ni e ain-tighearnas
air[g], no *ma* reiceas ſe e; an ſin
cuirear gu bàs an gaduiche ſin, agus
cuiridh tu olc air falbh as bhur meaſg.
8 Thoir an aire, ann am plàigh na
luibhre, gu'n dthoir thu fa'near gu
dùrachdach, agus gu'n dean thu a
réir nan uile nithe a theagaiſgeas na
ſagarta

[a] *theich.* [b] *iaſachd.* [c] *ann-riadh, ocar.* [d] *annad.* Eabh. [e] *litir-dhealaich,* [f] *ſluagh* an fhearainn. [g] *ma ni e marſantachd leis.*

ſagarta na Lebhithich dhuibh: a réir
mar a dh'àithn mi dhoibh, bheir ſibh
fa'near gu'n dean ſibh.
9 Cuimhnich ciod a rinn an Tigh-
earna do Dhia ri Miriam air an
t-ſlighe, an déigh dhuibh teachd a
mach as an Eiphit.
10 'Nuair a bheir thu do d' choimh-
earſnach ni ſam bith an coingheall,
cha dthéid thu ſteach d'a thigh a
ghabhail a ghill.
11 A mach ſeaſaidh tu, agus bheir
an duine d'am bheil thu toirt an
coingheall, an geall a mach dhuit.
12 Agus ma *bhios* an duine bochd,
cha choidil thu le 'gheall.
13 Air gach aon chor bheir thu
air ais[a] dha 'n geall a rìs, 'nuair a
théid a' ghrian fodha, chum gu'n coi-
dil e na eudach féin, agus gu'm beann-
aich e thu: agus bithidh ſo na ionrac-
as dhuit an làthair an Tighearna do
Dhé.
14 Cha dean thu foirneart air ſeir-
bhiſeach tuaraſdail a tha bochd agus
uireaſbhuidheach, *co dhiubh a tha e* do
d' bhràithribh, no do d' choigrich, a
tha ann a t' fhearann an taobh a ſtigh
do d' gheataibh.
15 Air a là bheir thu *dha* a thuar-
aſdal, agus cha dthéid a' ghrian ſios
air, oir *tha* e bochd, agus a' ſuidh-
eachadh a chridhe air: air eagal gu'n
glaodh e a't' aghaidh ris an Tighearna,
agus gu'm bi e na pheacadh dhuit.
16 Cha chuirear na h-aithreacha
gu bàs air ſon na cloinne, ni mò a
chuirear a' chlann gu bàs air ſon nan
aithreacha: cuirear gach duine gu
bàs air ſon a pheacaidh féin.
17 Cha chlaon[b] thu breitheanas a'
choigrich, no an dilleachdain, ni mò a
ghabhas tu eudach bantraich mar
gheall.
18 Ach cuimhnichidh tu gu'n robh
thu *féin* a'd' thràill ſan Eiphit, agus
gu'n do ſhaor an Tighearna do Dhia
thu as ſin: uime ſin *tha* mi ag àithn-
eadh dhuit an ni ſo a dheanamh.
19 'Nuair a bhuaineas tu[c] t'fhogh-
ar a'd' achadh, agus a dhi-chuimhnich-
eas tu ſguab ſan achadh, cha phill
thu g'a togail: air ſon a' choigrich,
air ſon an dilleachdain, agus air ſon
na bantraich bithidh i: a chum gu'm
beannaich an Tighearna do Dhia thu
ann an uile oibribh do làmh.
20 'Nuair a chrathas tu do chroinn-
oladh, cha dthéid thu thairis air na
geugaibh a rìs: air ſon a' choigrich,
air ſon an dilleachdain, agus air ſon na
bantraich bithidh e.
21 'Nuair a chruinnicheas tu fion-
dhearcan t'fhìon-lios, cha ghlan thu
gu buileach a'd' dhéigh e: air ſon a'
choigrich, air ſon an dilleachdain, agus
air ſon na bantraich bithidh e.
22 Agus cuimhnichidh tu gu'n
robh thu a'd' thràill[d] ann an tìr na
h-Eiphit: uime ſin *tha* mi ag àithn-
eadh dhuit an ni ſo a dheanamh.

CAIB. XXV.

MA bhios connſachadh eadar
dhaoine, agus gu'n dthig iad gu
breitheanas, a chum as gu'n dthoir na
breitheamhna breth[e], an ſin ſaoraidh
iad an t-ionracan, agus dìtidh iad[f] an
ciontach.
2 Agus tarlaidh, ma 's airidh an
duine aingidh bhi air a bhualadh, gu'n
dthoir am breitheamh air luidhe ſios,
agus a bhi air a bhualadh na làthair,
a réir a choire, ann an àireamh àraidh
do bhuillibh.
3 Dà fhichead buille bheir e dha:
cha dthéid e thairis, air eagal nan
rachadh e thairis, agus gu'm buail-
eadh ſe e os an ceann ſin le mòran
bhuillibh, an ſin gu'm biodh do
bhràthair tàireil a'd' ſhùilibh.
4 Cha chuir thu ceangal air beul
an daimh an uair a tha e ſaltairt[g] *an
arbhair.*
5 'Nuair a ghabhas bràithrean
còmhnuidh maille ri chéile, agus
gu'm faigh aon diubh bàs, agus gun
duine cloinne aige, cha phòs bean
a' mhairbh a mach ri coigreach:
théid a bràthair-céile ſteach d'a h-ionn-
ſuidh, agus gabhaidh e dha féin i na
mnaoi, agus ni e dlighe[h] bràthar-céile
rithe[k].
6 Agus éiridh an ceud-ghin mic a
bheireas

[a] *ais-iocaidh tu.* [b] *Cha'n ſhiar.* [c] *ghearras tu ſios.* [d] *a'd' dhuine daor.* [e] *eatorra.* [f] *fàgaidh iad ſhìos.* [g] *bualadh.* [h] *dleaſdanas.* [k] *ria.*

bheireas i suas ann an ainm a bhi athar *a ta* marbh, a chum nach dubhar a mach 'ainm a h-Israel.

7 Agus mur toil leis an duine bean a bhràthar a ghabhail, an sin théid bean a bhrathar suas do'n gheata chum nan seanairean, agus their i, Tha mo bhràthair-céile a' diùltadh ainm a thogail suas d'a bhràthair ann an Israel, cha 'n àill leis dlighe bràthar-céile dheanamh rium.

8 An sin gairmidh seanairean a bhaile air, agus labhraidh iad ris: agus *ma* sheasas e *mach*, agus gu'n abair e, Cha 'n àill leam a gabhail;

9 An sin thig bean a bhràthar d'a ionnsuidh an làthair nan seanairean, agus fuasglaidh i a bhròg bhàrr a choise, agus tilgidh i smugaid na eudain, agus freagraidh agus their i, Mar so nithear ris an duine nach tog suas tigh a bhràthar.

10 Agus goirear 'ainm ann an Israel, Tigh an fhir aig am bheil a bhròg fuasgailte.

11 'Nuair a bhios daoine ri comh-stri' cuideachd, neach ri neach eile, agus gu'n dthig bean a h-aon diubh am fagus a dh'fhuasgladh a fir-pòsda a làimh an fhir a tha 'ga bhualadh, agus gu'n sìn i mach a làmh, agus gu'n gabh i greim air a bhuill dìomh-air:

12 An sin gearraidh tu dhith a làmh; cha ghabh do shùil truas dith.

13 Cha bhi agad ann ad mhàla [a] *aon* chothrom [b] agus cothrom *eile*; *cothrom* mòr agus beag.

14 Cha bhi agad ann ad thigh *aon* soitheach [c], agus soitheach *eile* tomh-ais; *soitheach* mòr agus beag.

15 Cothrom iomlan agus ceart bithidh agad; soitheach-tomhais iom-lan agus ceart bithidh agad: a chum gu'm buanaichear do làithean anns an fhearann a *tha* 'n Tighearna do Dhia a' tabhairt duit.

16 Oir *tha* iadsan uile a ni na nithe sin, iadsan uile a ni gu h-eucorach, nan gràineileachd do'n Tighearna do Dhia.

17 Cuimhnich ciod a rinn Amalec ort san t-slighe, 'nuair a thàinig sibh a mach as an Eiphit:

18 Cionnus a choinnich e thu san t-slighe, agus a bhuail e chuid bu deireanaiche dhìot, *eadhon* iadsan uile *a bha* lag a'd' dhéigh, an uair *a bha* thu fann agus sgìth, agus nach robh eagal Dé air.

19 Uime sin an uair a bheir an Tighearna do Dhia fois duit o d' naimhdibh uile mu'n cuairt, anns an fhearann a bheir an Tighearna do Dhia dhuit mar oighreachd i'a sheal-bhachadh, dubhaidh tu *as* cuimhne Ama-leic o *bhi* fuidh nèamh; cha dìchuimh-nich thu *e*.

C A I B. XXVI.

AGUS an uair a théid thu stigh do'n fhearann a *tha* 'n Tigh-earna do Dhia a' toirt dhuit mar oighreachd, agus a shealbhaicheas tu e, agus a ghabhas tu còmhnuidh ann;

2 An sin gabhaidh tu do'n cheud chuid do uile thoradh na talmhainn, a bheir thu leat do t'fhearann a tha 'n Tighearna do Dhia a' tabhairt duit, agus cuiridh tu ann am bascaid *e*, agus théid thu chum an àite a thaghas an Tighearna do Dhia, a chur 'ainme an sin.

3 Agus théid thu dh'ionnsuidh an t-sagairt a bhios anns na làithibh sin, agus their thu ris, Tha mi ag aideach-adh air an là 'n diugh do'n Tigh-earna do Dhia, gu'n d'thàinig mi do'n dùthaich a mhionnaich an Tighearna d'ar n-aithreachaibh gu'n dthugadh e dhuinn.

4 Agus gabhaidh an sagart a' bhascaid as do làimh, agus cuiridh e sìos i air beulaobh altarach an Tigh-earna do Dhé.

5 Agus freagraidh tu agus their thu an làthair an Tighearna do Dhé, Bu Shirianach air sheòl a bhi caillte m' athair, agus chaidh e sìos do'n Eiphit, agus bha e air chuairt an sin le beagan cuideachd, agus dh'fhàs e 'n sin na chinneach mòr, cumhachd-ach agus lìonmhor.

6 Agus bh[illegible]n na h-Eiphitich gu

 h-olc

[a] *bhalg.* [b] *chlach.* Eabh. [c] *eathar-tomhais; ephah.* Eabh.

h-olc ruinn [a], agus fhàraich iad finn, agus chuir iad daorfa chruaidh oirnn.

7 Agus ghlaodh finn ris an Tighearna, Dia ar n-aithreacha; agus dh'éifd an Tighearna r'ar guth, agus dh'amhairc e air ar n-àmhghar agus ar faothair, agus ar foirneart.

8 Agus thug an Tighearna mach finn as an Eiphit le làimh chumhachdaich, agus le gàirdean sìnte mach, agus le h-uamhann mòr, agus le comharaibh, agus le h-iongantafaibh.

9 Agus thug e finn do'n àite fo, agus thug e dhuinn am fearann fo, fearann a tha fruthadh le bainne agus mil.

10 Agus a nis feuch, thug mi leam ceud thoradh an fhearainn, a thug thufa, a Tighearna, dhomh: agus cuiridh tu e am fianuis an Tighearna do Dhé, agus ni thu aoradh [b] am fianuis an Tighearna do Dhé.

11 Agus ni thu gairdeachas anns gach *ni* math a thug an Tighearna do Dhia dhuit, agus do d' thigh, thu féin, agus an Lebhitheach, agus an coigreach a *bhios* 'nar meafg.

12 'Nuair a chuireas tu crìoch air deachamh a thoirt feachad, *eadhon* uile dheachamh do chinneis [c] air an treas bliadhna, bliadhna an deachaimh, agus a bheir thu *e* do'n Lebhitheach, do'n choigreach, do'n dìlleachdan, agus do'n bhantraich, a chum gu'n ith iad an taobh a ftigh do d' gheataibh, agus gu'n sàfuichear iad;

13 An fin their thu am fianuis an Tighearna do Dhé, Thug mi leam na nithe naomha as *mo* thigh, agus mar an ceudna thug mi iad do'n Lebhitheach, agus do'n choigreach, do'n dìlleachdan, agus do'n bhantraich, a réir t'àitheantan uile a dh'àithn thu dhomh: cha do bhris mi *h-aon* do t'àitheantaibh, ni mò a dhichuimhnich mi *iad*.

14 Cha d'ith mi *bheag* dhiubh a'm' bhròn, ni mò a ghabh mi *bheag* dhiubh gu *feum* neo-ghlan *fam bith*, ni mò a thug mi *bheag* dhiubh air fon a' mhairbh: dh'éifd mi ri guth an Tighearna mo Dhé; rinn mi a réir nan uile nithe a dh'àithn thu dhomh.

15 Amhairc a nuas o ionad-còmhnuidh do naomhachd, o nèamh, agus beannaich do fhluagh Ifrael, agus am fearann a thug thu dhuinn, mar a mhionnaich thu d'ar n-aithreachaibh, fearann a tha fruthadh le bainne agus mil.

16 Air an la'n diugh dh'àithn an Tighearna do Dhia dhuit na reachdan agus na breitheanais fin a dheanamh: uime fin coimhididh agus ni thu iad le d' uile chridhe agus le d' uile anam.

17 Rinn thu roghainn [d] an diugh do'n Tighearna gu bhi na Dhia dhuit, agus gu gluafad na fhlighibh, agus gu 'reachdan a ghleidheadh, agus 'àitheanta, agus a bhreitheanais, agus gu éifdeachd r'a ghuth.

18 Agus thagh [e] an Tighearna thufa an diugh gu bhi a'd' fhluagh sònraichte dha féin, mar a gheall [f] e dhuit, agus a chum gu'n gleidheadh tu 'àitheantan uile;

19 Agus a chum gu'n deanadh e ard thu os cionn nan uile chinneach a rinn e, ann an cliu, agus ann an ainm, agus ann an urram, agus a chum gu'm bitheadh tu a'd' fhluagh naomha do'n Tighearna do Dhia, mar a labhair e.

CAIB. XXVII.

AGUS dh'àithn Maois agus feanairean Ifraeil do'n t-fluagh, ag ràdh, Gleidhibh na h-àitheantan uile a *tha* mi ag àithneadh dhuibh an diugh.

2 Agus tarlaidh air an là anns an dtéid fibh thar Iordan do'n fhearann a bheir an Tighearna do Dhia dhuit, gu'n cuir thu fuas dhuit féin clacha mòra, agus còmhdaichidh tu thairis le h-aol iad.

3 Agus fgrìobhaidh tu orra uile bhriathran an lagha fo, 'nuair a théid thu thairis, a chum as gu'n dtéid thu fteach do'n fhearann a bheir an Tighearna do Dhia dhuit, fearann a tha fruthadh le bainne agus le mil; mar a gheall an Tighearna Dia t'aithreacha dhuit.

4 Uime fin an uair a théid fibh thar Iordan, cuiridh fibh fuas na clachan fin, a *tha* mi ag àithneadh dhuibh

[a] *reinn.* [b] *àdhradh.* [c] *phifich, fhàs.* [d] *dh'aidich thu.*
[e] *ròghnuich.* [f] *labhair.* Eabh.

dhuibh air an là'n diugh, ann an sliabh
Ebail, agus còmhdaichidh tu thairis le
h-aol iad.
5 Agus an sin togaidh tu suas
altair do'n Tighearna do Dhia, altair
do chlachaibh: cha tog thu suas *inneal*
iaruinn *sam bith* orra.
6 Do chlachaibh slàna togaidh tu
altair an Tighearna do Dhé, agus
bheir thu suas oirre ìobairte-loisgte
do'n Tighearna do Dhia.
7 Agus ìobraidh tu ìobairte-sìth,
agus ithidh tu 'n sin, agus ni thu gaird-
eachas an làthair an Tighearna do
Dhé.
8 Agus sgrìobhaidh tu air na clach-
aibh uile bhriathran an lagha so gu
ro-shoilleir.
9 Agus labhair Maois, agus na
sagairt na Lebhithich, ri h-Israel uile,
ag ràdh, Thoir an aire, agus éisd, O
Israel; air an là'n diugh rinneadh thu
a'd' shluagh [a] do'n Tighearna do
Dhia.
10 Uime sin éisdidh tu ri guth an
Tighearna do Dhé, agus ni thu 'àith-
eanta, agus a reachdan a *tha* mi ag
àithneadh dhuit air an là'n diugh.
11 Agus dh'àithn Maois do'n
t-sluagh air an là sin féin, ag ràdh,
12 Seasaidh iad so air sliabh Ghe-
ridsim a bheannachadh an t-sluaigh,
'nuair a théid sibhthar Iordan; Simeon,
agus Lebhi, agus Iudah, agus Isachar,
agus Ioseph, agus Beniamin.
13 Agus seasaidh iad so air sliabh
Ebail a mhallachadh: Reuben, Gad,
agus Aser, agus Sebulun, Dan, agus
Naphtali.
14 Agus labhraidh na Lebhithich,
agus their iad ri daoinibh Israeil uile
le guth ard;
15 Mallaichte *gu robh* an duine a
ni dealbh snaidhte [b] no leaghta,
gràineileachd do'n Tighearna, obair
làmh an fhir-cheird, agus a chuireas *e*
ann an *ionad* dìomhair: agus freag-
raidh an sluagh uile, agus their iad,
Amen.
16 Mallaichte *gu robh* esan a ni
tàir air 'athair no air a mhàthair:
agus their an sluagh uile, Amen.
17 Mallaichte *gu robh* esan a
dh'atharraicheas crìoch [c] *fearainn* a
choimhearsnaich [d]: agus their an
sluagh uile, Amen.
18 Mallaichte *gu robh* esan a chuir-
eas an dall air seacharan 'san t-slighe:
agus their an sluagh uile, Amen.
19 Mallaichte *gu robh* esan a chlaon-
as breitheanas a' choigrich, an dill-
eachdain, agus na bantraich: agus
their an sluagh uile, Amen.
20 Mallaichte *gu robh* esan a luidh-
eas le mnaoi 'athar, a chionn gu bheil
e leigeadh ris còmhdach 'athar: agus
their an sluagh uile, Amen.
21 Mallaichte *gu robh* esan a luidh-
eas le h-ainmhidh sam bith: agus
their an sluagh uile, Amen.
22 Mallaichte *gu robh* esan a luidh-
eas le 'phiuthair, nighean 'athar, no
nighean a mhàthar: agus their an
sluagh uile, Amen.
23 Mallaichte *gu robh* esan a luidh-
eas le 'mhàthair-chéile: agus their an
sluagh uile, Amen.
24 Mallaichte *gu robh* esan a bhuail-
eas a choimhearsnach gu h-uaig-
neach [e]: agus their an sluagh uile,
Amen.
25 Mallaichte *gu robh* esan a
ghabhas duais [f] air son duine neo-
chiontach a mharbhadh [g]: agus their
an sluagh uile, Amen.
26 Mallaichte *gu robh* esan nach
daingnich *uile* bhriathran an lagha so-
chum an deanamh: agus their an
sluagh uile, Amen.

C A I B. XXVIII.

AGUS tarlaidh, ma dh'éisdeas tu
gu dùrachdach ri guth an Tigh-
earna do Dhé, a choimhead agus a
dheanamh 'àitheantan uile, a *tha* mi ag
àithneadh dhuit air an là'n diugh,
gu'n cuir an Tighearna do Dhia suas
thu os cionn uile chinneacha na talmh-
ainn.
2 Agus thig na beannachda so uile
ort, agus beiridh iad ort, ma dh'éisd-
eas tu ri guth an Tighearna do
Dhé.
3 Beannaichte *bithidh* tu sa' bhaile,

[a] *nad phobull.* [b] *iombaigh ghràbhalta.* [c] *combara* ; *teòran.* Eir.
[d] *a nàbuidh.* [e] *am féill* ; [f] *ceannach.* [g] *air son fuil neo-chiont-
ach a dòrtadh.*

agus beannaichte *bithidh* tu fa' mhachair.
4 Beannaichte *bithidh* toradh do
chuirp, agus toradh t'fhearainn, agus
toradh do spréidhe, fàs do chruidh [a],
agus treuda do chaorach.
5 Beannaichte *bithidh* do bhascaid
agus do chuibhrionn [b].
6 Beannaichte *bithidh* tu 'nuair a
thig thu stigh, agus beannaichte
bithidh tu 'nuair a théid thu muigh.
7 Bheir an Tighearna *fa'near* gu'm
bi do naimhdean, a dh'éireas suas a't'
aghaidh, air am bualadh roimh do
ghnùis: thig iad a mach a't' aghaidh
air aon slighe, agus teichidh iad romhad air seachd slighibh.
8 Aithnidh an Tighearn am beannachd ort a'd' thighibh-tasgaidh [c], agus
anns gach ni ris an cuir thu do làmh:
agus beannaichidh e thu san fhearann
a bheir an Tighearna do Dhia dhuit.
9 Daingnichidh an Tighearn thu
a'd' shluagh naomha dha féin, mar a
mhionnaich e dhuit, ma ghleidheas tu
àitheantan an Tighearna do Dhé, agus
ma ghluaiseas tu na shlighibh.
10 Agus chi uile chinnich na talmhainn gu'n goirear ainm an Tighearn
ort, agus bithidh eagal orra romhad.
11 Agus ni an Tighearna saibhir [d]
thu ann am maoin, ann an toradh do
chuirp, agus ann an toradh do
spréidhe, agus ann an toradh do
thalmhainn anns an talamh a mhionnaich an Tighearna do t' aithreachaibh a thabhairt duit.
12 Fosglaidh an Tighearna dhuit a
dheagh ionmhas [e], na nèamhan a
thoirt uisge do t'fhearann na àm,
agus a bheannachadh uile oibre do
làimh; agus bheir thu 'n iasachd [f] do
mhòran chinneach, agus cha ghabh
thu 'n iasachd.
13 Agus ni an Tighearn an ceann
dhiot, agus ni h-e an t-earball [g]; agus
bithidh tu mhàin an uachdar, agus
cha bhi thu 'n iochdar; ma dh'éisdeas
tu ri aitheantaibh an Tighearna do
Dhé, a *tha* mi ag àithneadh dhuit air
an là'n diugh gu'n coimhead agus gu'n
dean *thu iad*.
14 Agus cha dthéid thu thaobh o
aon air bith do na briathraibh a *tha*
mi ag àithneadh dhuit an diugh, a
chum na làimhe deise no chum na
làimhe clìthe, a dhol an déigh dhiathan eile dheanamh seirbhis doibh.
15 Ach tarlaidh, mur éisd thu ri
guth an Tighearna do Dhé, a thoirt
fa'near gu'n dean [h] thu 'àitheantan
agus a reachdan uile a *tha* mi ag àithneadh dhuit an diugh, gu'n dthig na
mallachda so uile ort, agus gu'm beir
iad ort.
16 Mallaichte *bithidh* tu fa' bhaile,
agus mallaichte *bithidh* tu fa' mhachair.
17 Mallaichte *bithidh* do bhascaid
agus do chuibhrionn.
18 Mallaichte *bithidh* toradh do
chuirp, agus toradh t'fhearainn, fàs
do chruidh [k], agus treudan do chaorach.
19 Mallaichte *bithidh* tu 'nuair a
thig thu stigh, agus mallaichte *bithidh*
tu 'nuair a théid thu mach.
20 Cuiridh an Tighearn ort mallachadh, mi-shuaimhneas [l], agus achmhasan, anns gach ni ris an cuir thu do
làmh gu 'dheanamh, gus an sgriosar
thu, agus gus an dthéid as duit gu
h-obann, air son aingidheachd do
ghnìomhara leis an do thréig thu
mise.
21 Bheir an Tighearn air a' plàigh
leantuinn rut gus an claoidh e thu
bhàrr an fhearainn, d'am bheil thu
dol a steach g'a shealbhachadh.
22 Buailidh an Tighearn thu le
caitheamh [m], agus le fiabhrus [n], agus
le h-ain-teas, agus le h-ardlosgadh,
agus leis a' chlaidheamh, agus le seargadh [o]; agus le fuar-dhealt [p]: agus
leanaidh iad thu gus an dthéid as
duit.
23 Agus bithidh do speuran a *ta*
os do cheann nan umha [q], agus an
talamh a *ta* fodhad na iarunn.
24 Ni an Tighearn uisge t'fhearainn

[a] *do bhò.* [b] *stòr.* [c] *thighibh-stòir, shaibhlibh.* [d] *pailt.* [e] *thaisgeach.* [f] *coingheall.* [g] *iorball.* [h] *gu'n coimhlion.* [k] *àl do bhò.* [l] *carraid.* [m] *éitich.* [n] *teasaich, cuartaich.* [o] *gaiseadh, losgadh-dealanaich.* [p] *crithreodh.* [q] *prais.*

rainn na luaithre agus na dhuslach:
o nèamh thig e nuas ort, gus an sgriosar
thu.
25 Bheir an Tighearna fa'near
gu'm buailear thu air beulaobh do
naimhdean: théid thu mach air aon
slighe[a] nan aghaidh, agus teichidh tu
rompa air seachd slighibh; agus athar-
raichear thu chum uile rioghachda na
talmhainn.
26 Agus bithidh do chlosach[b] na
biadh aig uile eunlaith an athair, agus
aig beathaichibh na talmhainn, agus
cha 'n fhuadaich duine sam bith air
falbh iad.
27 Buailidh an Tighearn thu le
neasgaid na h-Eiphit, agus le ruidh
fola[c], agus le càrr, agus le cloimh[d],
do nach ... e'n comas do leigheas.
28 Buailidh an Tighearn thu le
cuthach, agus le doille, agus le h'uamh-
ann cridhe.
29 Agus smeuraichidh tu[e] mu
mheadhon-là, mar a smeuraicheas an
dall san dorchadas, agus cha soirbh-
ich leat a'd' shlighibh: agus bithidh
tu mhàin fuidh fhoirneart, agus air do
chreachadh a ghnàth, agus cha teas-
airg duine sam bith *thu*.
30 Ni thu ceangal-pòsaidh[f] ri
mnaoi, agus luidhidh fear eile leatha:
togaidh tu tigh, agus cha ghabh thu
còmhnuidh ann: suidhichidh tu fion-
lios agus cha tionail thu 'fhion-dhear-
can.
31 Marbhar do dhamh fa chomh-
air do shùl, agus cha 'n ith thu dheth:
bheirear air falbh t'asal a dh'aindeoin
as do làthair, agus cha dthoirear air a
h-ais[g] dhuit i: bheirear do chaoraich
do d' naimhdibh, agus cha bhi neach
agad a bheir uatha *iad*.
32 Bheirear do mhic agus do nigh-
eana do shluagh eile, agus chi do shùil-
ean, agus fàilnichidh iad *le fadal* air
an son[h] rè an là: agus cha *bhi* neart
sam bith a'd' làimh.
33 Toradh t-fhearainn, agus do
shaothair uile, ithidh cinneach suas,
nach b'aithne dhuit; agus bithidh tu
mhàin fuidh fhoirneart agus air do
bhruthadh an còmhnuidh:
34 Air chor as gu'm bi thu air
mhi-chéill, air son seallaidh do shùl a
chi thu.
35 Buailidh an Tighearn thu sna
glùinibh agus anns na casaibh, le
neasgaid chràitich nach gabh leigheas,
o bhonn do choise gu mullach do
chinn.
36 Bheir an Tighearn thu *féin*, agus
do righ a chuireas tu os do cheann, gu
cinneach nach b'aithne aon chuid duit
féin no do t'aithreachaibh; agus an
sin ni thu seirbhis do dhéibh eile, *do*
fhiodh agus *do* chloich.
37 Agus bithidh tu a't' uamhas[k],
a'd' shamhladh[l], agus a'd' leth-fho-
cal[m] am measg nan uile chinneach
gus an treòraich an Tighearn thu.
38 Bheir thu mòran sìl a mach
do'n fhearann, ach is beag a chruin-
nicheas tu stigh: oir ithidh an locust
suas e.
39 Suidhichidh tu fion-liosan agus
deasaichidh tu *iad*; ach cha'n òl thu
do'n fhion, ni mò a chruinnicheas tu
na dearcan: oir ithidh a' chnuimh
iad.
40 Bithidh croinn-oladh agad air
feadh do chriochan uile, ach cha 'n
ung thu thu *féin* leis an oladh: oir tilg-
idh do chrann-oladh *a thoradh*.
41 Ginidh tu mic agus nigheana,
ach cha mheal thu iad; oir théid iad
am braighdeanas.
42 Do chraobhan uile agus toradh
t'fhearainn millidh[n] an locust
43 Eiridh an coigreach a tha 'nar
measg suas gu ro-ard os do cheann;
agus thig thusa nuas gu ro-iosal.
44 Bheir e 'n iasachd dhuit, agus
cha dthoir thusa an iasachd dha;
bithidh esan na cheann, agus bithidh
tusa a'd' earball.
45 Agus thig na mallachda sin uile
ort, agus leanaidh[o] iad thu, agus
beiridh iad ort, gus an sgriosar thu;
a chionn nach d'éisd thu ri guth an
Tighearna do Dhé, a ghleidheadh
'àitheantan

[a] *ròd, rathad.* [b] *do chairbh, do chorp marbh.* [c] *hemmorhoids.* Sasg. [d] *claimh.* Eir. [e] *iarraidh tu fo-làimh.* [f] *réiteachadh-pòsaidh.* [g] *cha 'n ais-iocar.* [h] *le* déigh-*orra.* [k] *uamhann.* [l] *ghnàth-fhocal.* [m] *fhor-fhocal, ath-dhàn, fhrith-ainm.* [n] *feadhbhaichidh.* [o] *ruagaidh.*

'àitheantan agus a reachdan a dh'àithn e dhuit.

46 Agus bithidh iad ort mar chomhar agus mar iongantas, agus air do fhliochd a chaoidh.

47 A chionn nach d'rinn thu seirbhis do'n Tighearna do Dhia le gairdeachas, agus le subhachas cridhe, air son pailteis nan uile *nithe:*

48 Uime-sin ni thu seirbhis do d' naimhdibh a chuireas an Tighearn a't' aghaidh, ann an ocras, agus ann an tart, agus ann an lomnochdaidh, agus ann an uireasbhuidh nan uile *nithe:* agus cuiridh e cuing iaruinn air do mhuineal, gus an cuir e as duit.

49 Bheir an Tighearn cinneach a't' aghaidh o *ionad* fad o *laimh*, o iomall na talmhainn, mar an iolair air iteig; cinneach nach tuig thu 'n cainnt:

50 Cinneach aig am bheil aghaidh bhorb [a], nach dthoir urram do ghnùis an aosmhoir, agus nach dean iochd ris an òg.

51 Agus ithidh e toradh do spréidhe, agus toradh t'fhearainn, gus an sgriosar thu: neach nach fàg agad arbhar, fion, no oladh, fàs do chruidh, no treudan do chaorach, gus an cuir e as duit.

52 Agus teannaichidh e thu [b] ann ad gheataibh uile, gus am brisear sìos [c] do bhallachan arda agus daingnichte, anns an robh do dhòigh, air feadh t'fhearainn uile; agus teannaichidh e thu ann ad gheataibh air feadh t'fhearainn uile a thug an Tighearna do Dhia dhuit.

53 Agus ithidh tu toradh do chuirp féin, feoil do mhac agus do nigheana, (a thug an Tighearna do Dhia dhuit), anns a' chogadh agus anns an teinn [d] leis an teannaich do naimhdean thu:

54 *Air chor as* an duine *a ta* maoth 'nar measg, agus ro-fhòghar [e], gu'm bi a shùil olc a thaobh a bhràthar, agus a thaobh mna 'uchd féin, agus a thaobh iarmaid [f] a chloinne a dh'fhàgas e:

55 Air chor as nach dthoir e do h-aon diubh *a' bheag* do fheoil a chloinne a dh'itheas e: a chionn nach fàgar a' bheag aige sa' chogadh [g] agus anns an teinn leis an teannaich do naimhdean thu a'd' gheataibh uile.

56 A' bhean mhaoth agus fhòghar 'nar measg, nach dùraigeadh bonn a coise a chur air an talamh o thaobh muirn [h] agus maothalachd [k], bithidh a sùil olc a thaobh fir-pòsda a h-uchd, agus a thaobh a mic, agus a thaobh a h-ighinn,

57 Agus a thaobh a maothrain a thig a mach o eadar a cosaibh, agus a thaobh a cloinne a bheireas i: oir ithidh i iad a dh'uireasbhuidh nan uile *nithe* an dìomhaireachd anns a' chogadh, agus anns an teinn leis an teannaich do nàmhaid thu a'd' gheataibh.

58 Mur dthoir thu an aire uile bhriathran an lagha so a dheanamh a tha sgrìobhta san leabhar so, a chum gu'm bi eagal an ainm ghlòrmhoir agus uamhasaich so ort, AN TIGHEARNA DO DHIA:

59 An sin ni an Tighearna do phlàighean iongantach, agus plàighean do shliochd, *eadhon* plàighean mòra agus maireannach, agus eucailean cràiteach agus fadalach.

60 A bhàrr air so bheir e ort uile ghalaran na h-Eiphit, roimh an robh eagal ort; agus leanaidh iad riut.

61 Mar an ceudna gach tinneas, agus gach plaigh, nach *'eil* sgrìobhta ann an leabhar an lagha so, iad sin bheir an Tighearn ort, gus an sgriosar thu.

62 Agus fàgar sibh tearc ann an àireamh, an àite gu'n robh sibh mar reulta nèimh an lìon-mhoireachd; a chionn nach d'éisd thu ri guth an Tighearna do Dhé.

63 Agus tarlaidh, mar a rinn an Tighearna gairdeachas os bhur ceann a dheanamh maith dhuibh, agus gu'r deanamh lìonmhor, mar sin gu'n dean an Tighearna gairdeachas os bhur ceann gu'r sgrios, agus gu'r toirt gu neo-ni; agus spìonar sibh as an fhearann d'am bheil sibh a' dol g'a shealbhachadh.

64 Agus sgapaidh an Tighearn thu am

[a] *gharg.* [b] *cuiridh e séisd riut, suidhidh e umad, cuairtichidh e thu.* [c] *an tuit sìos.* [d] *teanndachd, chumhainge.* [e] *delicat., luxurious.* Sasg. [f] *fuigheall.* [g] *san t-séisd.* [h] *grinneis, sògh.* [k] *maothachd.*

am measg nan uile chinneach, o'n
dara ceann do'n talamh eadhon gus an
ceann eile do'n talamh; agus an sin
ni thu seirbhis do dhéibh eile, nach
b'aithne *aon chuid* duit féin no do
t'àithreachaibh, eadhon *do* fhiodh agus
do chloich.
65 Agus am measg nan cinneach sin
cha'n fhaigh thu suaimhneas sam bith,
ni mò bhios fois aig bonn do choise:
ach bheir an Tighearna dhuit an sin
cridhe gealtach, agus fàilneachadh
shùl, agus doilgheas[a] inntinn.
66 Agus bithidh do bheatha crochta
ann an amharus[b] fa d' chomhair; agus
bithidh eagal ort a là sa dh'oidhche,
agus cha bhi cinnte air bith agad do
d' bheatha.
67 Sa' mhaduinn their thu, Och!
nach b'e 'm feasgar e; agus san
fheasgar their thu, Och! nach b'i
mhaduinn e; air son eagail do chridhe
le'm bi eagal ort, agus air son seallaidh
do shùl a chi thu.
68 Agus bheir an Tighearna rìs
thu do'n Eiphit ann an longaibh, air
an t-slighe mu'n dubhairt mi riut,
Cha'n fhaic thu rìs i tuilleadh: agus
an sin reicear sibh ri'r naimhdibh mar
thràillean agus mar bhan-tràillean,
agus cha bhi neach ann gu'r ceann-
ach.

CAIB. XXIX.

IS iad sin briathran a choimhcheang-
ail a dh'àithn an Tighearna do
Mhaois a dheanamh ri cloinn Israeil,
ann an tìr Mhoaib, a thuilleadh air a'
choimhcheangal a rinn e riu ann an
Horeb.
2 Agus thug Maois gairm do Israel
uile, agus thubhairt e riu, Chunnaic
sibh gach ni a rinn an Tighearna fa
chomhair bhur sùl ann an tìr na
h-Eiphit, ri Pharaoh, agus r'a sheirbh-
isich uile, agus r'a fhearann uile;
3 Na deuchainnean[c] mòra a chunn-
aic do shùilean, na comharan agus na
h-iongantasan mòra sin:
4 Gidheadh cha d'thug an Tigh-
earna dhuibh cridhe a thuigsinn[d],
agus sùilean a dh'fhaicinn, agus
cluasan a chluinntinn, gus an là'n
diugh.
5 Agus threòraich mise sibh dà
fhichead bliadhna san fhàsach: cha
do chaitheadh bhur n-eudach dhibh
le h-aois[e], agus cha do chaitheadh do
bhròg le h-aois bhàrr do choise.
6 Cha d'ith sibh aran, ni mò dh'òl
sibh fìon, no deoch làidir; a chum
gu'm biodh fios agaibh gur mise an
Tighearna bhur Dia.
7 Agus an uair a thàinig sibh do'n
àite so, thàinig Sihon righ Hesboin,
agus Og righ Bhasain, a mach 'nar
n-aghaidh chum catha, agus bhuail
sinn iad;
8 Agus ghlac sinn am fearann,
agus thug sinn e mar oighreachd do
na Reubenich, agus do na Gadaich,
agus do leth-thréibh Mhanaseh.
9 Gleidhibh uime sin briathran a'
choimhcheangail so, agus deanaibh
iad, a chum gu soirbhich leibh anns
gach ni a ni sibh.
10 Tha sibh uile 'nar seasamh an
diugh an làthair an Tighearna bhur
Dé; ceannardan bhur treubha[f], bhur
seanairean, agus bhur luchd-riaghlaidh,
fir Israeil uile,
11 Bhur clann bheag, bhur mnài,
agus do choigreach a tha ann ad
champ, o fhear-gearraidh t'fhiodha
gu fear-tarruing t'uisge:
12 A chum gu'n rachadh tu ann
an coimhcheangal ris an Tighearna do
Dhia, agus na mhionnaibh-san, a
tha'n Tighearna do Dhia a' deanamh
riut air an là'n diugh:
13 A chum gu'n daingnich e thu
an diugh mar shluagh dha féin, agus
gu'm bi esan dhuitse na Dhia, mar a
thubhairt e riut, agus mar a mhionn-
aich e do t'aithreachaibh, do Abra-
ham, do Isaac, agus do Iacob.
14 Agus cha'n ann ribhse mhàin a
tha mise a' deanamh a' choimhcheangail
so, agus nam mionna so;
15 Ach ris-*san* a tha 'n so maille
ruinn na sheasamh an diugh an làthair
an Tighearna ar Dé, agus *mar an*
ceudna

[a] *bròn, dubhachas.* [b] *an teagamh.* [c] *dearbhan, buaireanna.* [d] *a mhothachadh.* [e] *cha d'fhàs bhur n-eudach sean umaibh.* [f] *bhur cinn-fheadhna* agus *bhur treubh'a.*

ceudna ris-*san* nach '*eil* an so maille ruinn an diugh:

16 (Oir is aithne dhuibh coinnus a bha sinn a chòmhnuidh ann an tìr na h-Eiphit, agus cionnus a thàinig sinn tre mheadhon nan cinneach uir an deachaidh sibh seachad;

17 Agus chunnaic sibh an gràinealachdan, agus an ìodholan[a], fiodh agus clach, airgiod agus òr, a *bha* nam measg)

18 Air eagal gu'm biodh 'nar measg fear, no bean, no teaghlach, no treubh, a chlaonas a chridhe air falbh an diugh o'n Tighearn ar Dia, a dhol a dheanamh seirbhis do dhéibh nan cinneach sin; air eagal gu'm biodh 'nar measg freumh a bheir uaithe *mar thoradh* nimh[b] agus searbhas[c].

19 Agus an uair a chluinneas e briathran a' mhallachaidh so, an sin gu'm beannaich se e féin na chridhe, ag ràdh, Bithidh sìth agam, ge do ghluais mi ann an an-miann[d] mo chridhe féin, a chur misge ri pathadh:

20 Cha chaomhain an Tighearn e, ach an sin cuiridh fearg an Tighearna, agus 'eud, smùid diubh an aghaidh an duine sin, agus luidhidh gach mallachadh air a *tha* sgrìobhta san leabhar so, agus dubhaidh an Tighearna mach 'ainm o bhi fuidh nèamh.

21 Agus sgaraidh an Tighearn e chum uilc, a mach a treubhaibh Israeil uile, a réir uile mhallachdan a' choimhcheangail, *a tha* sgrìobhta ann an leabhar an lagha so.

22 Air chor as gu'n abair an ginealach ri teachd, bhur clann a dh'éireas suas 'nar déigh, agus an coigreach a thig o thìr fad o làimh, 'nuair a chi iad plàighean an fhearainn sin, agus 'eucailean a leag an Tighearn air;

23 *Agus gu bheil* a thalamh uile na phronnasg, agus na shalann, *agus* na losgadh; nach 'eil e air a chur, no toirt toraidh[e] uaith, agus nach 'eil feur sam bith a' fàs ann, cosmhuil ri sgrios Shodoim agus Ghomorraih, Admaih agus Sheboim, a sgrios an Tighearna na fheirg agus na chorruich:

24 Their eadhon na h-uile chinnich, C'ar son a bhu'n an Tighearna mar so ris an fhearann so? Ciod is *ciall* do theas na corruiche mòire so?

25 An sin their daoine, A chionn gu'n do thréig iad coimhcheangal an Tighearna Dé an aithreachd, a rinn e riu 'nuair a thug e mach iad a tìr na h-Eiphit.

26 Oir chaidh iad agus rinn iad seirbhis do dhéibh eile, agus rinn iad aoradh[f] dhoibh, dée nach b'aithne dhoibh, agus nach d'thug esan doibh[g].

27 Agus las corruich an Tighearn an aghaidh an fhearainn so, a thoirt nam mallachdan sin uile air *a tha* sgrìobhta san leabhar so.

28 Agus spìon an Tighearn a mach iad as am fearann ann am feirg, agus ann an corruich, agus ann an lasan[h] ro-mhòr, agus thilg e iad do dhùthaich eile, mar air an là'n diugh.

29 *Buinidh* na *nithe* dìomhair do'n Tighearn ar Dia, ach na *nithe a ta* foillsichte dhuinne, agus d'ar cloinn a chaoidh, a chum as gu'n dean sinn uile bhriathran an lagha so.

CAIB. XXX.

AGUS an uair a thig na nithe so uile ort, am beannachadh agus am mallachadh, a chuir mise romhad, agus a chuimhnicheas tu *orra* am measg nan cinneach uile chum an d'fhògair an Tighearna do Dhia thu,

2 Agus a philleas tu dh'ionnsuidh an Tighearna do Dhé, agus a bheir thu géill d'a ghuth a réir nan uile nithe *a tha* mise ag àithneadh dhuit air an là'n diugh, thu féin agus do chlann, le t'uile chridhe, agus le t'uile anam:

3 An sin bheir an Tighearna do Dhia air ais do bhraighdeanas, agus ni e iochd riut, agus pillidh e agus cruinnichidh e thu as na h-uile chinnich a chum an do sgap an Tighearna do Dhia thu.

4 Ma dh'fhògradh *neach* agad gus a' *chuid* a's iomallaiche do nèamh, as sin cruinnichidh an Tighearna do Dhia thu, agus as sin bheir e thu:

5 Agus

[a] *diathan-bréige.* [b] *neimh, puinsion, domblas.* [c] *burmaid.* [d] *aingidheachd, smuaintibh.* [e] *cinneis.* [f] *shleuchd iad.* [g] *rach do bhuilich a' bheag orra.* [h] *fraoch feirge.*

5 Agus bheir an Tighearna do Dhia thu do'n fhearann a ſhealbhaich t'aithreacha, agus ſealbhaichidh tu e: agus ni e math dhuit, agus bheir e ort fàs lìonmhor os cionn t'aithreacha.

6 Agus timchioll-ghearraidh an Tighearna do Dhia do chridhe, agus cridhe do ſhliochd, a ghràdhachadh an Tighearna do Dhé le t'uile chridhe, agus le t'uile anam, a chum gu'm bi thu beo.

7 Agus cuiridh an Tighearna do Dhia na mallachdan ſin uile air do naimhdibh, agus orra-ſan aig am bheil fuath dhuit, a rinn geur-leanmhuinn ort.

8 Agus pillidh tu agus bheir thu géill do ghuth an Tighearna, agus ni thu 'àitheantan uile a thà miſe ag àithneadh dhuit an diugh.

9 Agus ni an Tighearna do Dhia pailt thu ann an uile obair do làimhe, ann an toradh do chuirp, agus ann an toradh do ſpréidhe, agus ann an toradh t'fhearainn, a chum maith: oir ni an Tighearna rìs gairdeachas os do cheann chum maith, mar a rinn e gairdeachas os cionn t' aithreacha:

10 Ma dh'éiſdeas tu ri guth an Tighearna do Dhé, a ghleidheadh 'àitheantan, agus a reachdan, a tha ſgrìobhta ann an leabhar an lagha ſo, *agus* ma philleas tu chum an Tighearna do Dhé le t'uile chridhe agus le t'uile anam.

11 Oir an àithne ſo a *tha* miſe ag àithneadh dhuit an diugh, cha '*n'eil* i 'm folach ort, ni mò *a ta* i fada uait.

12 Cha '*n'eil* i ſna nèamhaibh, air chor as gu'n abradh tu, Cò théid ſuas air ar ſon do na nèamhaibh, agus a bheir i d'ar n-ionnſuidh, a chum as gu'n cluinn ſinn i, agus gu'n dean ſinn i?

13 Ni mò a *tha* i 'n taobh thall do'n fhairge, air chor as gu'n abradh tu, Cò théid a nunn air ar ſon thar an fhairge, agus a bheir *i* d'ar n-ionnſuidh a chum gu'n cluinn ſinn i, agus gu'n dean ſinn i?

14 Ach *tha* 'm focal ro-fhagus duit, ann do bheul, agus ann do chridhe, chum gu'n dean thu e.

15 Feuch, chuir mi romhad an diugh beatha agus math, agus bàs agus olc;

16 A mheud gu bheil mi ag àithneadh dhuit an diugh an Tighearna do Dhia a ghràdhachadh, gluaſad na ſhlighibh, agus 'àitheantan a gleidheadh, agus a reachdan, agus a bhreitheanais, a chum gu'm bi-thu beo, agus gu'm fàs thu lìonmhor, agus gu'm beannaich an Tighearna do Dhia thu ſan fhearann d'am bheil thu dol g'a ſhealbhachadh.

17 Ach ma thionndadhas do chridhe air falbh, agus nach éiſd thu, ach gu'n tairngear air falbh thu, agus gu'n dean thu aoradh do dhéibh eile, agus gu'n dean thu ſeirbhis dhoibh;

18 Tha mi ag innſeadh dhuibh air an là'n diugh, gu'n ſgrioſar gu cinnteach ſibh, *agus* nach buanaich ſibh bhur làithean air an fhearann, d'am bheil thu dol thar Iordan, gu gabhail a ſteach g'a ſhealbhachadh.

19 Tha mi gairm nan nèamha agus na talmhainn mar fhianuiſean 'nar n-aghaidh air an là'n diugh, gu'n do chuir mi beatha agus bàs f'ar comhair, beannachadh agus mallachadh: uime ſin roghnuich beatha, chum gu'm bi thu féin agus do ſhliochd beo:

20 A chum gu'n gràdhaich thu 'n Tighearna do Dhia, *agus* gu'n dthoir thu géill d'a ghuth, agus gu'n lean thu ris, (oir *is* eſan do bheatha, agus ſad do làithean), a chum gu'n gabh thu còmhnuidh ſan fhearann a mhionnaich an Tighearna do t'aithreachaibh, do Abraham, do Iſaac, agus do Iacob, gu'n dthugadh e dhoibh.

C A I B XXXI.

AGUS chaidh Maois agus labhair e na briathra ſo ri h-Iſrael uile.

2 Agus thubhairt e riu, *Tha* miſe ceud agus fichead bliadhna dh'aois air an là'n diugh; cha 'n urrainn mi tuilleadh dol a mach agus teachd a ſteach: agus thubhairt an Tighearna rium, Cha dthéid thu thar an Iordan ſo.

3 Théid an Tighearna do Dhia e féin a nunn romhad; ſgrioſaidh eſan na cinnich ſin o d' làthair, agus ſealbhaichidh tu iad: *agus* théid Ioſua nunn romhad, mar a thubhairt an Tighearna.

4 Agus ni an Tighearna riu mar a rinn e ri Sihon, agus ri h-Og, righre

nan

nan Amorach, agus ri fearann na muinntir ſin a ſgrios e.

5 Agus bheir an Tighearna thairis iad roimh bhur gnùis, a chum gu'n dean ſibh riu a réir gach àithne a dh'àithn miſe dhuibh.

6 Bithibh làidir agus biodh deagh mhiſneach agaibh; na biodh eagal oirbh, agus na gabhaibh geilt rompa, oir *is* e 'n Tighearna do Dhia e féin a théid leat; cha dìbir e thu, ni mò a thréigeas e thu.

7 Agus ghairm Maois air Ioſua, agus thubhairt e ris ann an ſealladh Iſraeil uile, Bi làidir, agus biodh deagh mhiſneach agad: oir is tuſa a théid a ſtigh leis an t-ſluagh ſo do'n fhearann a mhionnaich an Tighearna d'an aithreachaibh gu'n dthugadh e dhoibh; agus bheir thu orra 'ſhealbhachadh mar oighreachd.

8 Agus théid an Tighearn e féin romhad, bithidh eſan maille riut, cha dìbir e thu, ni mò a thréigeas e thu: na gabh eagal, agus na biodh geilt ort.

9 Agus ſgrìobh Maois an lagh ſo, agus thug ſe e do na ſagartaibh mic Lebhi, a tha giùlan àirc coimhcheangail an Tighearna, agus do ſheanairibh Iſraeil uile.

10 Agus dh'àithn Maois doibh, ag ràdh, Aig ceann *gach* ſeachd bliadhna, ann an àm orduichte bliadhna an fhuaſglaidh, aig féiſd nam pàilliun,

11 'Nuair a thig Iſrael uile g'an taiſbeanadh féin an làthair an Tighearna do Dhé, ſan ionad a thaghas e; leughaidh tu 'n lagh ſo an làthair Iſraeil uile, nan éiſdeachd.

12 Cruinnich an ſluagh r'a chéile, fir, agus mnài, agus clann, agus do choigreach a *tha* 'n taobh ſtigh do d' gheataibh; a chum gu'n cluinn iad, agus gu'm fòghlum iad, agus gu'm bi eagal an Tighearna bhur Dé orra, agus gu'n dthoir iad fa'near uile bhriathran an lagha ſo a dheanamh:

13 Agus *gu'n* cluinn an clann do nach b'aithne *bheag*, agus gu fòghlum iad eagal an Tighearna bhur Dé a bhi orra am fad's is beo dhuibh ſan fhearann d'am bheil thu dol thar Iordan g'a ſhealbhachadh.

14 Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, Feuch, tha do làithean a' dlùthachadh anns am feum thu bàs fhaghail: gairm air Ioſua, agus nochdaibh ſibh féin ann am pàilliun a' choimhthionail, a chum 's gu'n dthoir miſe àithne dha. Agus chaidh Maois agus Ioſua, agus nochd ſiad iad féin ann am pàilliun a' choimhthionail.

15 Agus dh'fhoillſich an Tighearn e féin ſa' phàilliun ann am meall[a] neoil: agus ſheas am meall neoil os cionn doruis 'a phàilliuin.

16 Agus thubhairt an Tighearna ri Maois, Feuch, coidlidh tuſa maille ri t'aithreachaibh; agus éiridh an ſluagh ſo ſuas, agus théid iad le ſtrìopachas an déigh dhiathan na tìre coimhich ſin d'am bheil iad a' dol a ſteach gu *fantuinn* na meadhon, agus tréigidh iad miſe, agus briſidh iad mo choimhcheangal a rinn mi riu.

17 Agus laſaidh mo chorruich nan aghaidh ſan là ſin, agus tréigidh mi iad, agus folaichidh mi mo ghnùis uatha, agus ithear ſuas iad, agus thig mòran olc agus àmhghar[b] orra, air chor as gu'n abair iad ſan la ſin, Nach ann a chionn nach *'eil* ar Dia 'nar meaſg a thàinig na h-uilc ſo oirnn?

18 Agus gu cinnteach folaichidh miſe mo ghnùis ſan là ſin, air ſon gach olc a dh'oibrich iad, a chionn gu'n do thionndaidh iad an déigh dhiathan eile.

19 A nis uime ſin ſgrìobhaibhſe dhuibh féin an laoidh[c] ſo, agus teagaiſgibh i do chloinn Iſraeil: cuir i nam beul, a chum gu'm bi 'n laoidh ſo mar fhianuis dhomhſa an aghaidh chloinn Iſraeil.

20 Oir an uair a bheir mi ſtigh iad do'n fhearann a mhionnaich mi d'an aithreachaibh, a tha ſruthadh le bainne agus mil, agus a dh'itheas iad agus a ſhaſuichear iad, agus a dh'fhàſas iad reamhar; an ſin tionndaidh iad gu déibh eile, agus ni iad ſeirbhis doibh, agus broſnuichidh iad mi, agus briſidh iad mo choimhcheangal.

21 Agus tarlaidh an uair a thig mòran olc agus àmhghar orra, gu'n labhair[d] an laoidh ſo mar fhianuis

nan

[a] *ſluadh.* [b] *thrioblòidean, theanntachdan.* [c] *òran.* [d] *freagair.*

nan aghaidh; oir cha di-chuimh-
nichear i as beul an sliochd: oir is
aithne dhomh an smuaintean a tha
iad a' dealbh an diugh *féin*, mun d'thug
mi steach iad do'n fhearann a mhionn-
aich mi.
22 Sgrìobh uime sin Maois an
laoidh so air an là sin féin, agus theag-
aisg e i do chloinn Israeil.
23 Agus dh'àithn e do Iosua mac
Nun, agus thubhairt e, Bi làidir, agus
biodh deagh mhisneach agad: oir
bheir thu clann Israeil do'n fhearann a
mhionnaich mi dhoibh; agus bithidh
mise maille riut.
24 Agus an uair a chuir Maois
crìoch air sgrìobhadh bhriathran an
lagha so ann an leabhar gus an do
chrìochnaicheadh iad;
25 An sin dh'àithn Maois do na
Lebhithich a tha giùlan àirc coimh-
cheangail an Tighearna, ag ràdh,
26 Gabhaibh leabhar an lagha so,
agus cuiribh e aig taobh àirc coimh-
cheangail an Tighearna bhur De,
chum gu'm bi e 'n sin mar fhianuis
a't' aghaidh.
27 Oir *is* aithne dhomh do cheann-
airc, agus do mhuineal rag: feuch,
am feadh 's a ta mi fathast beo maille
ribh an diugh, bha sibh ceannairceach
an aghaidh an Tighearna; agus cia's
mò na sin *a bhitheas sibh* an deigh
mo bhàis?
28 Cruinnichibh a'm' ionnsuidh
seanaire bhur treubhan uile, agus
bhur luchd-riaghluidh, a chum as
gu'n labhair mi nan cluasaibh na
briathra so, agus gu'n gairm mi na
nèamhan agus an talamh mar fhia-
nuisean nan aghaidh.
29 Oir tha fhios agam, an déigh
mo bhàis gu'n truaill sibh *sibh féin* gu
tur, agus gu'n dthéid sibh a thaobh
o'n t-slighe a dh'àithn mi dhuibh:
agus thig olc oirbh anns na laithibh
deireannach, a chionn gu'n dean sibh
olc ann an sealladh an Tighearna, 'ga
bhrosnachadh gu feirg le h-obair bhur
làmh.
30 Agus labhair Maois ann an
cluasaibh uile choimhchruinnich Israeil
briathra na laoidhe so, gus an do
chrìochnaicheadh iad.

CAIB. XXXII.

CLUINNIBH, O nèamha, agus
labhraidh mi; agus éisdeadh an
talamh ri briathraibh [a] mo bheoil.
2 Silidh mar an t-uisge mo theag-
asg, tuitidh mar an drùchd mo chainnt;
mar mhìn-uisge air an lus mhaoth,
agus mar fhrasan air an fheur.
3 A chionn gu'm foillsich mi [b]
ainm an Tighearna: thugaibhse
mòrachd d'ar Dia-ne.
4 *Is esan* a' charraig, tha 'obair
iomlan: oir *is* breitheanas a shligh-
ean uile: Dia na fìrinn, agus gun
eucoir, cothromach agus ceart tha
esan.
5 Thruaill siad iad féin, cha '*n e* an
smal *smal* a chloinne-san: *is* ginealach
coirbte [c] agus fiar iad.
6 An ann mar so a dh'ìocas sibh [d]
an Tighearna, O shluagh amaideach
agus gun chéill? nach esan t'athair *a*
cheannaich thu? nach d'rinn e thu,
agus nach do dhaingnich e thu?
7 Cuimhnich na làithean o chian,
thoir fa'near bliadhnacha nan iomadh
ginealach: fiosraich do t' athair, agus
nochdaidh [e] e dhuit; do d' sheanair-
ibh, agus innsidh iad dhuit.
8 'Nuair a roinn an Ti a's ro airde
do na cinnich an oighreachd, an uair a
sgar e mic Adhaimh *o chéile*, shuidh-
ich e crìochan nan sluagh a réir ài-
reimh chloinn Israeil.
9 Oir *is* e 'shluagh cuibhrionn an
Tighearna, *is* e Iacob crannchur 'oigh-
reachd-san.
10 Fhuair e ann am fearann fàs e,
eadhon ann am fàsach falamh *làn*
ulfhartaich [f]: threòraich e mu'n
cuairt e, theagaisg se e, ghleidh e mar
ubhal a shùla e.
11 Mar a charaicheas [g] iolar suas
a nead, a dh'itealaicheas i os cionn [h] a
h-àil, a sgaoileas i mach a sgiathan,
a ghabhas i iad, a ghiùlaineas i iad air
a sgiathaibh;

[a] *éisd, O thalaimh, ri briathraibh.* [b] *cuir mi an céill, gairm mi air.* [c] *aingidh,* [d] *An e so an éirig a bheir sibh do?* [e] *taisbeanaidh.* [f] *fàsach uamhora gun àiteach.* [g] *ghleidheas, ghabhas iolar cùram d'a nead.* [h] *a luaineas i gu caomh air.*

12 *Mar sin* threòraich an Tighearna na aonar esan, agus cha *robh* Dia coigreach maille ris.

13 Thug e air marcachd air àitibh arda na talmhainn, a chum gu'n itheadh e toradh an fhearainn, agus thug e air mil a dheothal [a] as a' charraig, agus oladh as a' charraig a'l-bhinn;

14 Im cruidh, agus bainne chaorach, maille ri saill uan agus reitheachan do shìol [b] Bhasain, agus ghabhar, maille ri reamhrachd airnean a' chruinneachd; agus dh'òl thu fuil fhìorghlan nam fìon-dhearc.

15 Ach dh'fhàs Iesurun reamhar, agus bhreab e: tha thu air cinntinn reamhar, tha thu air fàs tiugh, tha thu còmhdaichte *le saill:* an sin thréig e an Dia *a* rinn e, agus rinn e dìmeas air carraig a shlàinte.

16 Bhrosnaich iad e gu h-eud le *déibh* eile [c], le gràineileachdaibh chuir iad corruich air.

17 Dh'ìobair iad do dheamhanaibh, cha 'n ann do Dhia; do dhéibh nach b'aithne dhoibh, do *dhéibh* nuadh *a* dh'ùr-éirich suas, roimh nach robh eagal air bhur n-aithreachaibh.

18 Air a' charraig *a* ghin thu tha thu mi-chuimhneachail, agus tha thu dearmadach air an Dia a dhealbh thu.

19 Agus an uair a chunnaic an Tighearn *e*, ghabh e gràin *diubh* [d], air son brosnachaidh a mhac agus a nigheana.

20 Agus thubhairt e, Folaichidh mi mo ghnùis uatha, chi mi ciod *is* crìoch dhoibh: oir *is* ginealach ro-choirbte [e] iad, clann anns nach *'eil* creidimh.

21 Rinn iad eudmhor mise [f] leis *an ni* nach Dia, bhrosnaich [g] iad mi gu feirg le 'n diomhanais: agus ni mise eudmhor iadsan *leo-san* nach *'eil* nan sluagh, brosnaichidh mi iad gu feirg ri cinneach amaideach.

22 Oir tha teine air 'fhadadh a'm' fheirg, agus loisgidh e gu h-ifrinn ìochdrach [h], agus cuiridh e as do [k] 'n talamh le 'thoradh, agus cuiridh e ri theine bunaite nam beann.

23 Carnaidh mi suas uilc [l] orra, mo shaighdean caithidh mi orra.

24 Claoidhear [m] iad le h-ocras [n], agus cuirear as doibh le teas loisgeach, agus le sgrios searbh: fiaclan fhiadh-bheathaiche mar an ceudna cuiridh mi orra, maille ri nimh nathraicheau an duslaich.

25 O'n leth a muigh sgriosaidh an claidheamh, agus o'n leth a stigh uamhann, araon an t-òig-fhear agus an òigh, an ciochran agus fear na gruaige léithe.

26 Thubhairt mi, Sgapaidh mi iad gu cùiltibh, bheir mi air an cuimhne sgur o mheasg dhaoine:

27 Mur bhitheadh gu'n robh eagal orm roimh chorruich an nàmhaid, air eagal gu'n giùlaineadh an easceairdean iad féin gu mi-chubhaidh, air eagal gu'n abradh iad, *Is* i ar làmh airdne [o], agus cha 'ne an Tighearn a rinn so uile.

28 Oir *is* cinneach gun chomhairle iad, ni mò *tha* tuigse annta.

29 O gu'm biodh iad glic, *gu'n* tuigeadh iad so, *gu'n* dthugadh iad fa'near an crìoch dheireannach!

30 Cionnus a chuireadh a h-aon ruaig air mìle, agus a chuireadh dithis deich mìle air theicheadh, mur biodh an carraig air an reiceadh, agus mur biodh an Tighearn air an druideadh suas?

31 Oir mar ar carraig-ne cha *'n'eil* an carraig-san, air bhi d'ar naimhdibh féin nam breitheamhnaibh.

32 Oir do fhìonain Shodoim *tha*'m fìonainsan, agus do mhachairibh Ghomorraih: *is* fìondhearcan marbhtach [p] am fìon-dhearcan, *tha* 'm bagaidean searbh:

33 *Is* e nimh nan dràgon am fìon, agus puinsion [q] an-iochdar nan nathraichean [r] nimhe.

34 Nach *'eil* so air a thasgaidh suas agam, air a sheulachadh a'm' ionmhasaibh?

35 Dhomhsa

[a] *sùghadh.* [b] *sliochd.* [c] *coimheach.* [d] *rinn e tàir* orra. [e] *ro-choirbte.* [f] *Dhùisg iad gu h-eud mise.* [g] *phrosnaich.* [h] *gus an doimhne a's ìochdraiche.* [k] *ithidh e suas.* [l] *dòrainnean.* [m] *Loisgear.* [n] *gortadh.* [o] Tha *ar làmh ard.* [p] *nimhe, domblais.* [q] *nimh, gath.* [r] *asp.*

35 Dhomhsa *buinidh* dioghaltas,
agus luaigheachd; ri h-uine sleamh-
naichidh an cos: oir *tha* là an sgrios
am fagus, agus tha na nithe a thig
orra a' deanamh deifir.
36 Oir bheir an Tighearna breth
air a shluagh, agus gabhaidh e aith-
reachas a thaobh a sheirbhiseacha;
'nuair a chi e gu'n d'fhalbh *an* neart,
agus nach *'eil* neach dhiubh air a
dhruideadh suas, no air 'fhàgail [a].
37 Agus their e, C'àit *am bheil*
an diathan, a' charraig as an d'earb
iad,
38 A dh'ith saill an iobairtean, *a*
dh'òl fion an tabhartais-dibhe? éireadh
iad suas, agus cuidicheadh iad leibh;
bitheadh iad dhuibh nan didean.
39 Faicibh a nis gur mise, *eadhon*
mise e, agus nach *'eil* Dia sam bith
maille rium: marbhaidh mi, agus
beothaichidh mi; lotaidh mi, agus
leighisidh mi; agus cha *n'eil neach ann*
a shaoras as mo làimh.
40 Oir togaidh mi suas mo làmh
gu nèamh, agus their mi, *Is* beò mise
gu siorruidh.
41 Ma gheuraicheas mi mo chlaidh-
eamh lasrach [b], agus ma ni mo làmh
greim air breitheanas; iocaidh mi
dioghaltas do m' naimhdibh, agus
bheir mi luaigheachd dhoibhsan aig
am bheil fuath orm.
42 Cuiridh mi air mhisg mo shaigh-
dean le fuil (agus ithidh mo chlaidh-
eamh suas feoil) *eadhon* le fuil nam
marbh, agus nam braighdean, o thois-
each nan dioghaltas air an nàmhaid.
43 Deanaibh gairdeachas, O chinn-
eacha, *maille r'*a shluaghsan: oir diol-
aidh e fuil a sheirbhiseach, agus ni e
dioghaltas air 'eascairdibh, agus bithidh
e tròcaireach d'a thìr *agus d'*a shluagh
féin.
44 Agus thàinig Maois, agus labh-
air e uile bhriathra na laoidh so ann
an éisdeachd an t-sluaigh, e féin agus
Hosea mac Nun.
45 Agus chuir Maois crìoch air na
briathra sin uile a labhairt ri h-Israel
uile.
46 Agus thubhairt e riu, Socraich-
ibh bhur cridhe air na focail uile air
am bheil mise a' toirt fianuis 'nar
measg air an là'n diugh, a dh'àithneas
sibh d'ar cloinn a choimhead, a chum
gu'n dean iad uile bhriathran an
lagha so.
47 Oir cha ni dìomhain e dhuibh,
a chionn gur e bhur beatha e; agus
leis an ni so buanaichidh sibh *bhur*
làithean san fhearann a tha sibh a' dol
a nunn thar Iordan g'a shealbhach-
adh.
48 Agus labhair an Tighearna ri
Maois san la sin féin, ag ràdh,
49 Imich suas do'n bheinn so
Abarim, *do* shliabh Nebo, a *tha* ann an
tìr Mhoaib, a *tha* fa chomhair Iericho,
agus gabh sealladh do thìr Chanaain,
a *tha* mi a' toirt do chloinn Israeil
mar sheilbh:
50 Agus gheibh thu bàs san t-sliabh
d'an dthéid thu suas, agus cruinnich-
ear thu chum do dhaoine; mar a
fhuair Aaron do bhràthair bàs ann an
sliabh Hor, agus a chruinnicheadh e
chum a dhaoine:
51 A chionn gu'n do chiontaich
sibh a'm' aghaidh-sa am measg chloinn
Israeil, aig uisgeachaibh Mheribah-
Cades, ann am fàsach Shin; do bhrìgh
nach do naomhaich sibh mi am mea-
dhon chloinn Israeil.
52 Gidheadh chi thu am fearann
a'*d'* chomhair, ach cha dthéid thu
steach do'n fhearann a *tha* mi tabh-
airt do chloinn Israeil.

C A I B. XXXIII.

AGUS *is e* so am beannachadh leis
an do bheannaich Maois òglach [c]
Dhé clann Israeil roimh a bhàs.
2 Agus thubhairt e, Thàinig an
Tighearn o Shinai, agus dh'éirich e
suas dhoibh o Sheir; dhealraich e
mach o shliabh Pharain, agus thàinig
e le deich mìle do naoimh: o 'dheas
làimh *chaidh* lagh teine mach dhoibh.
3 Seadh, ghràdhaich e 'n sluagh;
tha 'naoimh uile a'd' làimh: agus
shuidh iad sìos aig do chosaibh;
gheibh *gach neach* do d' bhriathraibh.
4 Dh'àithn Maois lagh dhuinn,
mar oighreachd do choimhchruinneach
Iacoib.

[a] *a làthair.* [b] *dealrach, lìobhta.* [c] *duine.* Eabh.

5 Agus bha e na righ ann an Iesurun, an uair a chruinnich ceannardan [a] an t-sluaigh agus treubhan Israeil an ceann a chéile.

6 Biodh Reuben beò, agus na faigheadh e bàs; agus bithcadh a dhaoine *lìonmhor* an aireamh.

7 Agus *is e so beannachadh* Iudaih: agus thubhairt e, Eisd, a Thighearna, guth Iudaih, agus thoir e chum a shluaigh: biodh a làmhan foghainteach dha, agus bi-sa a'd' chòmhnadh [b] *aige* o 'naimhdibh.

8 Agus mu Lebhi thubhairt e, *Biodh* do Thummim agus t'Urim aig t'aon naomha, a dhearbh thu aig Masah, ris an d'rinn thu strì' aig uisgeachaibh Mheribah;

9 A thubhairt r'a athair agus r'a mhàthair, Cha 'n fhaca mi e; agus cha do ghabh e [c] r'a bhràithribh, agus cha d'aithnich e a chlann féin: oir choimhid iad t'fhocail, agus ghleidh iad do choimhcheangal.

10 Teagaisgidh iad do breitheanais do Iacob, agus do lagh do Israel: cuiridh iad tùis fa d' chòmhair, agus làn ìobairt-loisgte air t'altair.

11 Beannaich, O Thighearn, a mhaoin [d], agus gabh ri obair a làmh: buail tre leasraidh na muinntir a dh'éireas na aghaidh, agus na muinntir le'm fuathach e, chum nach éirich iad a ris.

12 Mu Bheniamin thubhairt e, Gabhaidh aon gradhach an Tighearna còmhnuidh ann an tèaruinteachd làimh ris; *agus* còmhdaichidh *an Tighearn* e rè an là uile, agus gabhaidh e còmhnuidh eadar a ghuaillibh.

13 Agus mu Ioseph thubhairt e, Beannaichte o'n Tighearna *gu robh* 'fhearann, a thaobh nithe luachmhor nèimh, a thaobh an drùchd, agus a thaobh na doimhne tha na luidhe shìos,

14 Agus a thaobh nan toradh luachmhor *a bheirear a mach* leis a' ghréin, agus a thaobh nan nithe luachmhor a chuirear a mach leis gach mios [e],

15 Agus a thaobh prìomh [f] nithe nam beann sean [g], agus a thaobh nithe luachmhor nan sliabh siorruidh,

16 Agus a thaobh nithe luachmhor na talmhainn, agus a làn, agus deagh-ghean an Ti sin a bha chòmhnuidh sa' phreas: thigeadh *am beannachd* air ceann Ioseiph, agus air mullach a chinnsan a sgaradh o 'bhràithribh.

17 Mar cheud-ghin a thairbh *tha* a sgèimh [h], agus *mar* adhaircean an aon-adharcaich [k] *tha* 'adhaircean-sa: leo so purraidh [l] e 'n sluagh le chéile, gu h-iomallaibh na talmhainn: agus *is* iad so deich mìlte Ephraim, agus *is* iad so mìlte Mhanaseh.

18 Agus mu Shebulun thubhairt *e*, Dean gairdeachas, a Shebuluin, a'd' dhol a mach; agus Isachair, a'd' bhùthaibh.

19 Gairmidh iad an sluagh a chum na beinne, an sin ìobraidh iad ìobairtean ionracais: oir pailteas nan cuan sùgaidh [m] iad suas, agus ionmhais fholaichte na gaineimh.

20 Agus mu Ghad thubhairt e, Beannaichte *gu robh* esan a leudaicheas [n] Gad: mar leòmhan tha e gabhail còmhnuidh, agus reubaidh e 'n gairdean maille ri mullach a' chinn.

21 Agus dheasaich e cheud chuid dha féin, a chionn an sin, *ann an* cuibhrionn an lagh-thabhartair, gu'n do shuidhicheadh e; agus thàinig e *maille ri* ceannardaibh an t-sluaigh; ceartas an Tighearna chuir e 'n gnìomh, agus a bhreitheanais ri h-Israel.

22 Agus mu Dhan thubhairt e, *Is* cuilean leòmhain Dan: leumaidh e o Bhasan.

23 Agus mu Naphtali thubhairt e, O Naphtali, sàsaichte le deagh-ghean, agus làn do bheannachadh an Tighearna, sealbhaich thusa an aird' an iar agus an airde deas.

24 Agus mu Aser thubhairt e,
Biodh

[a] *cinn.* Eabh. [b] *chongnamh.* Eir. [c] *cha d'aidich e 'bhràithrean.* [d] *a neart, a shluagh.* [e] *leis a' ghealaich.* [f] *ceud, ard.* [g] *bhanntan an airde 'n ear.* Eabh. [h] *a ghlòir, a mhaise.* [k] *an t-sròn-adharcaich; Rhinoceros.* [l] *sàthaidh.* [m] *sùghaidh, deothalaidh.* [n] *dh'fhosgaingichea s.*

Biodh Aſer beannuichte le cloinn;
biodh e taitneach d'a bhràithribh,
agus tumadh[a] e a chos ann an oladh.
25 *Bithidh* do bhrògan nan iarunn
agus nan umha[b]; agus mar do laith-
ean *is amhluidh bhios* do neart[c].
26 Cha *'n'eil* neach coſmhuil ri
Dia Ieſuruin, *a tha* marcachd air
nèamh a'd' chòmhnadh, agus na
mhòrachd[d] air na ſpeuraibh.
27 *Is e* 'n Dia bith-bhuan do
thearmann, agus ſuidh *tha* na gair-
deana sìorruidh: agus fuadaichidh e
mach an nàmhaid romhad, agus their
e, Cuir as *da*.
28 An ſin gabhaidh Iſrael còmh-
nuidh gu tèaruinte na aonar: *bithidh*
tobar Iacoib air fearann arbhair agus
ſiona; mar an ceudna ſilidh a nèamha
nuas drùchd.
29 Is ſonadh thu, O Iſrael; cò *tha*
coſmhuil riut, O ſhluagh a ſhaoradh
leis an Tighearna, ſgiath do chòmh-
nadh, agus neach is e claidheamh do
mhòrachd! agus gheibhear do naimh-
de nam breugairibh dhuit, agus ſalt-
raidh tu air an àitibh arda.

C A I B. XXXIV.

AGUS chaidh Maois ſuas o chòmh-
nardaibh Mhoaib gu ſliabh
Nebo, gu mullach Phiſgaih[e], a *tha*
thall ſa chomhair Iericho: agus nochd
an Tighearna dha fearann Ghilead
uile gu Dan,
2 Agus Naphtali uile, agus tìr
Ephraim, agus Mhanaſeh, agus tìr
Iudaih uile, gu ruig an fhairge a's
ſaide mach,
3 Agus an taobh deas, agus còmh-
nard glinne Iericho, baile nan craobh
pailm, gu ruig Soar.
4 Agus thubhairt an Tighearna
ris, *Is* e ſo am fearann a mhionnaich
mi do Abraham, do Iſaac, agus do
Iacob, ag ràdh, Do d' ſhliochd-ſa
bheir mi e: thug mi ortſa 'fhaicinn le
d' ſhùilibh, ach d'a ionnſuidh cha
dthéid thu thairis.
5 Agus fhuair Maois òglach an
Tighearna bàs an ſin, ann am fearann
Mhoaib, a réir focail an Tighearna.
6 Agus dh'adhlaic e ann an gleann
e, ann am fearann Mhoaib, thall ſa
chomhair Bhet-peoir: ach cha 'n
aithne do dhuine ſam bith 'uaigh gus
an là'n diugh.
7 Agus *bha* Maois ceud agus fich-
ead bliadhna dh'aois an uair a fhuair
e bàs: cha d'fhàilnich a ſhùil[f], ni-
mò a thréig a neart e[g].
8 Agus ghuil clann Iſraeil air ſon
Mhaois ann an còmhnardaibh Mhoaib
deich laithean air fhichead: mar ſo
chrìochnaicheadh làithean a' ghuil
agus a' bhròin air ſon Mhaois.
9 Agus bha Ioſua mac Nuin làn do
ſpiorad a' ghliocais; oir chuir Maois
a làmhan air: agus dh'éiſd clann
Iſraeil ris, agus rinn iad mar a dh'àithn
an Tighearna do Mhaois.
10 Agus cha d'éirich fàidh o ſin
ann an Iſrael coſmhuil ri Maois, neach
a b'aithne do'n Tighearna aghaidh ri
h-aghaidh.
11 Anns na h-uile chomharaibh,
agus iongantaſaibh a chuir an Tigh-
earn e dheanamh ann an tìr na h-Ei-
phit, air Pharaoh[h] agus air a ſheir-
bhiſich uile, agus air 'fhearann uile,
12 Agus anns an làimh chumh-
achdaich ſin uile, agus anns an uamh-
as mhòr uile, a dh'oibrich Maois ann
an ſealladh Iſraeil uile.

[a] *tomadh, togadh.* [b] Bithidh *iarunn agus umha fo d' chosaibh; bithidh do chroinn no do ghlaiſan a dh'iarunn agus a dh'umha* [c] *do ſhìth.* [d] *oir-dheirceas.* [e] *na beinne.* Rabh. [f] *robh a ſùil dall.* [g] *lùghdaicheadh a chàil.* [h] *an aghaidh Pharaoih.*

I O S U A.

CAIB. I.

ANIS an déigh bàis Mhaois, òg-
laich an Tighearna, labhair an
Tighearna ri Iòsua, mac Nuin, fear-
frithealaidh Mhaois, ag ràdh,
2 Tha m'òglach Maois marbh: a
nis uime sin éirich, gabh thairis air
Iordan so, thu féin, agus an sluagh so
uile, dh'ionnsuidh na tìre a tha mise
a' tabhairt dhoibh, *eadhon* do chloinn
Israeil.
3 Gach ionad air an saltair bonn
bhur coise, sin thug mi dhuibh, mar a
thubhairt mi ri Maois.
4 O'n fhàsach, agus Lebanon so,
eadhon gus an abhainn mhòir, abh-
ainn Euphrates, tìr nan Hiteach uile,
agus gus an fhairge mhòir, leth ri dol
suidhe na gréine, bithidh na crìch
dhuibh.
5 Cha'n urrainn duine sam bith
seasamh a'd' aghaidh uile laithean do
bheatha: mar a bha mi le Maois, *mar
sin* bithidh mi leatsa: cha dibir mi
thu, agus cha tréig mi thu.
6 Bi làidir, agus ro-mhisneachail:
oir do'n t-sluagh so roinnidh tu mar
oighreachd an tìr a mhionnaich mi
d'an aithrichibh [a] a thabhairt doibh.
7 A mhàin bi-sa làidir agus ro-
mhisneachail, a chum as gu'n dthoir
thu 'n aire gu'n dean thu a réir an
lagha uile a dh'àithn m'òglach Maois
dhuit: na tionndaidh uaith dh'ionn-
suidh na làimhe deise no dh'ionnsuidh
na làimhe clìthe, a chum gu'n soirbh-
ich leat anns gach *àite* d'an dthéid thu.
8 Cha dthéid [illegible] an lagha so
as do bheul, ach beachd-smuainichidh
tu air a là agus a dh'oidhche, chum as
gu'n dthoir thu 'n aire gu'n dean thu
a réir gach *ni a tu* scrìobhte ann: oir
an sin bh'ir thu air do shlighe soirbh-
eachadh leat, agus an sin ni thu gu
glic [b].
9 Nach d'àithn mise dhuit? Bi
làidir agus ro-mhisneachail. na bi fo
eagal, agus na biodh faitcheas ort: oir
tha 'n Tighearna do Dhia leat anns
gach *ionad* d'an dtheid thu.
10 An sin dh'àithn Iosua do luchd-
riaghlaidh an t-sluaigh, ag ràdh,
11 Rachaibh tre'n champ, agus
àithnibh do'n t-sluagh, ag ràdh, Deas-
aichibh dhuibh féin lòn; oir an ceann
thri laithean théid sibh thar Iordan so,
a dhol a stigh a shealbhachadh na
tìre a *tha* 'n Tighearna bhur Dia a'
toirt duibh r'a sealbhachadh.
12 Agus ris na Reubenich, agus
ris na Gadaich, agus ri leth threibh
Mhanaseh, labhair Iosua, ag ràdh,
13 Cuimhnichibh am focal a dh'àithn
Maois òglach an Tighearna dhuibh,
ag ràdh, Thug an Tighearna bhur
Dia fois duibh, agus thug e dhuibh an
tìr so:
14 Fanaidh bhur mnài, bhur clann
bheag, agus bhur spréidh, san tìr a
thug Maois duibh air an taobh so do
Iordan; ach théid sibh féin thairis fo'r
n-armaibh roimh bhur bràithrean,
sibhse uile tha treun ann an neart, agus
cuidichidh sibh leo;
15 Gus an dthoir an Tighearna
fois d'ar bràithribh, mar *a thug e*
dhuibhse, agus gu'n sealbhaich iadsan
mar an ceudna an tìr a *tha* 'n Tigh-
earna

[a] *aithreachaibh.* [b] *éiridh gu maith dhuit.*

tarna bhur Dia a' tabhairt doibh: an sin pillidh sibh gu tìr bhur seilbhe, agus sealbhaichidh sibh i, *eadhon an tìr* a thug Maois oglach an Tighearna dhuibh air an taobh so do Iordan, leth ri éirigh na gréine.

16 Agus fhreagair iad Iosua, ag ràdh, Na h-uile *nithe* a dh'àithn thu dhuinne, ni sinn; agus ge b'e taobh a chuireas tu sinn, théid sinn.

17 A réir mar a' dh'éisd sinn ri Maois anns na h-uile *nithibh*, mar sin éisdidh sinn riutsa: a mhàin biodh an Tighearna do Dhia maille riut, mar a bha e maille ri Maois.

18 Gach duine a chuireas an aghaidh t'àithne, agus nach éisd ri d' bhriathraibh, anns na h-uile *nithibh* a dh'àithneas tu dha, cuirear gu bàs e: a mhàin bi làidir, agus ro-mhisneachail.

CAIB. II.

AGUS chuir Iosua mac Nuin a mach a Sitim dithis dhaoine a rannsachadh a mach gu h-uaigneach, ag ràdh, Imichibh, rannsaichibh a mach an tìr, agus Iericho: agus dh'imich iad, agus chaidh iad a steach do thigh striopaiche, d'am b'ainm Rahab, agus luidh iad an sin.

2 Agus dh'innseadh do righ Iericho, ag ràdh, Feuch, thàinig daoine an so an nochd, do chloinn Israeil, a rannsachadh a mach na tìre.

3 Agus chuir righ Iericho *teachdaire* gu Rahab, ag radh, Thoir a mach na daoine a thàinig a t'ionnsuidh, a chaidh steach do d' thigh: oir is ann a rannsachadh a mach na tìre uile a thàinig iad.

4 Agus ghabh a' bhean an dithis dhaoine, agus dh'fholaich i iad, agus thubhairt i mar so, Thàinig, gun amharus, daoine do m' ionnsuidh, ach cha robh fhios agam cia as *a thàinig* iad:

5 Agus thachair *mu àm* druididh a' gheataidh, 'nuair a bha e dorcha, gu'n deachaidh na daoine mach: c'àit a ghabh na daoine, cha'n fhios domh: leanaibh gu luath air an tòir, oir beiridh sibh orra.

6 Ach bha i air an toirt suas gu mullach an tighe, agus air am folach le cuiseagaibh an lìn, a leig i an ordugh air mullach an tighe.

7 Agus lean na daoine air an tòir san t-slighe gu Iordan, gu ruig[a] na h-àthanna: agus co luath as a chaidh a' mhuinntir a bh'air an tòir a mach, dhruid iad an geatadh.

8 Agus mun robh iad air luidhe sìos, chaidh i suas d'an ionnsuidh air mullach an tighe;

9 Agus thubhairt i ris na daoinibh, Tha fios agam gu bheil an Tighearn air toirt duibh na tìre, agus gu bheil bhur n-uamhas air tuiteam oirnne, agus gu'm bheil luchd àiteachaidh na tìre uile air leaghadh as le h-eagal[b] roimhibh:

10 Oir chuala sinne cionnus a thiormaich an Tighearna suas uisge na mara ruaidhe roimhibh, 'nuair a thàinig sibh a mach as an Eiphit; agus ciod a rinn sibh air dà righ nan Amorach, a *bh*'air an taobh eile do Iordan, Sihon agus Og, a sgrios sibh gu tur.

11 Agus co luath as a chuala sinne *na nithe sin*, leagh ar cridheacha, agus cha d'fhan tuilleadh a' bheag do mhisnich ann an duine sam bith air bhur sonsa: oir an Tighearna bhur Dia *is* esan Dia anns na nèamhaibh shuas, agus air an talamh bhos[c].

12 A nis uime sin guidheam oirbh, mionnaichibh dhomh air an Tighearna, a chionn gu'n do nochd mi caoimhneas dhuibh, gu'n nochd sibhse mar an ceudna caoimhneas do thigh m'atharsa, agus gu'n dthoir sibh dhomh comhara cinnteach[d];

13 Agus gu'n gleidh sibh beo m'athair, agus mo mhàthair, agus mo bhràithrean, agus mo pheathraichean, agus na h-uile a *ta* aca, agus gu'n saor sibh ar n-anmanna[e] o'n bhàs.

14 Agus fhreagair na daoine i, Ar n-anam-ne air bhur son-sa gu bàs, mur foillsich sibh an gnothuch so againne. Agus tarlaidh 'nuair a bheir an Tighearna dhuinn an tìr, gu'm buin sinn gu caoimhneil agus gu firinneach riutsa.

15 An sin [illegible] sìos iad air cord

tré

[a] *gu ruig.* [b] *air fannachadh.* [c] *shios,* [d] *firinn.* Eabh. [e] *beatha.*

tre [a] 'n uinneig ; oir *bha* a tigh air
balladh a' bhaile [b], agus bha i chòmh-
nuidh air a' bhalladh.
16 Agus thubhairt i riu, Thugaibh
am monadh [c] oirbh, air eagal gu'n
coinnich an luchd tòrachd sibh ; agus
folaichibh sibh féin an sin tri laithean,
gus am bi'n luchd tòrachd air pilleadh,
agus an déigh sin feudaidh sibh im-
eachd air bhur slighe.
17 Agus thubhairt na daoine rithe [d],
Bithidh sinne neo-chiontach a thaobh
iad so do mhionnan a thug thu oirnn a
mhionnachadh.
18 Feuch, '*nuair* a thig sinn do'n
tìr, ceanglaidh tu an sliom [e] so do
shnàth scarlait anns an uinneig tre'n
do leig thu sios sinn : agus bheir thu
t'athair, agus do mhàthair, agus do
bhràithrean, agus teaghlach t'athar
uile dhachaidh a t' ionnsuidh.
19 Agus tarlaidh, ge b'e neach a
théid a mach air dorsaibh do thighe
do'n t sràid, *gu'm bi* 'fhuil air a cheann
féin, agus *bithidh* sinne neo-chiontach :
agus ge b'e neach a bhios maille riut
anns an tigh, *bithidh* 'fhuil air ar ceann-
ne, ma bheanas làmh ris.
20 Agus ma dh'fhoillsicheas tu an
gnothuch so againn, an sin bithidh
sinne saor o d' mhionnaibh a thug
thu oirnn a mhionnachadh.
21 Agus thubhairt ise, A réir bhur
briathra, mar sin *bitheadh* e. Agus
chuir i air falbh iad, agus dh'imich
iad : agus cheangail i an sliom scarlait
anns an uinneig.
22 Agus dh'fhalbh iad, agus thainig
iad do'n mhonadh, agus dh'fhan iad
an sin tri-laithean, gus an do phill an
luchd tòrachd. Agus dh'iarr an luchd
tòrachd *iad* air feadh na slighe uile,
ach cha d'fhuair siad *iad*.
23 Mar sin phill an dithis dhaoine,
agus chaidh iad sios o'n mhonadh,
agus chaidh iad thairis, agus thàinig
iad gu Iosua mac Nuin, agus dh'innis
iad da gach *ni* a thachair dhoibh.
24 Agus thubhairt iad ri Iosua, Gu
firinneach thug an Tighearna thairis
d'ar làimh am fearann uile ; oir tha
eadhon luchd-àiteachaidh na tìre uile
air leaghadh as [illegible] comhair.

CAIB. III.

AGUS dh'éirich Iosua gu moch
'sa' mhaduinn, agus dh'imich
iad o Shitim, agus thainig iad gu
Iordan, e féin agus clann Israeil uile,
agus ghabh iad tàmh an sin mun
deachaidh iad thairis.
2 Agus an ceann thri laithean
chaidh an luchd - riaghlaidh tre'n
champ ;
3 Agus dh'àithn iad do'n t-sluagh,
ag ràdh, 'Nuair a chi sibh àirc coimh-
cheangail an Tighearna bhur Dé,
agus na sagairt na Lebhitich 'ga
giùlan, an sin gluaisidh sibh o'r n-àite,
agus théid sibh na déigh.
4 Gidheadh bithidh astar eadar sibh
agus i, mu thimchioll dà mhile làmh-
choille do thomhas : na dthigibh am
fagus di, a chum gu'm bi fios na slighe
agaibh air am feum sibh imeachd ;
oir cha do ghabh sibh riamh roimhe
an rathad *so*.
5 Agus thubhairt Iosua ris an
t-sluagh, Naomhaichibh sibh féin ; oir
am màireach ni 'n Tighearna *nithe*
iongantach 'nar measg.
6 Agus labhair Iosua ris na sagart-
aibh, ag ràdh, Togaibh suas àirc a'
choimhcheangail, agus rachaibh *thairis*
roimh 'n t-sluagh. Agus thog iad
suas àirc a' choimhcheangail, agus
chaidh iad roimh 'n t-sluagh.
7 Agus thubhairt an Tighearna ri
Iosua, An diugh tòisichidh mi air
thusa dheanamh mòr ann an sealladh
Israeil uile, a chum as gu'm bi fios
aca, mar a bha mi le Maois, gu'm bi
mi leatsa.
8 Agus bheir thu àithne do na
sagartaibh a tha giùlan àirc a 'choimh-
cheangail, ag ràdh, 'Nuair a bhios
sibh air teachd gu oir uisge Iordain,
ann an Iordan seasaidh sibh.
9 Agus thubhairt Iosua ri cloinn
Israeil, Thigibh an so, agus éisdibh ri
briathraibh an Tighearna bhur Dé.
10 Agus thubhairt Iosua, Le so
bithidh fios agaibh gu'*m bheil* an Dia
beo 'nar measg agus *gu'm* fuadaich e
gun teagamh a mach roimhibh na
Canaanaich, agus na Hitich, agus na
Hibhich, agus na Peridsich, agus na
Girgasaich,

[a] *trid, troimh.* [b] *na cathrach.* [c] *a' bheinn.* [d] *ria.* [e] *cordas.*
[f] *tre'n fheachd.*

Girgafaich, agus na h-Amoraich, agus na Iebufaich.

11 Feuch, tha airc coimhcheangail Tighearna na talmhainn uile a' dol thairis roimhibh do Iordan.

12 A nis uime fin gabhaibh dà fhear dheug a treubhaibh Ifraeil, fear as gach tréibh.

13 Agus co luath fa fhocraicheas na fagairt a ta giùlan àirc an Tighearna, Tighearna na talmhainn uile, buinn an cos ann an uifgeachaibh Iordain, bithidh uifgeacha Iordain air an fgaradh o na h-uifgeachaibh a thig a nuas o'n airde: agus feafaidh iad nan torr.

14 Agus an uair a dh'fhalbh an fluagh o'm bùthaibh, gu dol thar Iordan, agus na fagairt a' giùlan àirc a' choimhcheangail roimh 'n t-fluagh;

15 Agus an uair a bha iadfan a ghiùlain an àirc air teachd gu Iordan, agus a bha cofa nan fagart a ghiùlain an àirc air an tumadh ann an oir an uifge; (oir tha Iordan a' fruthadh thar 'uile bhruacha rè an fhogharaidh uile)

16 An fin fheas na h-uifgeachan a thàinig a nuas o'n airde, *agus* dh'éirich iad fuas nan torr ro-fhad o'n bhaile Adam, a *ta* làimh ri Saretan: agus theirig iadfan a chaidh sìos rathad mara a' chòmhnaird, *eadhon* na mara falainn, *agus* ghearradh as iad: agus chaidh an fluagh thairis direach fa chomhair Iericho.

17 Agus fheas na fagairt a ghiùlain àirc coimhcheangail an Tighearna gu daingean[a] air talamh tioram am meadhon Iordain, agus chaidh na h-Ifraelich uile thairis air talamh tioram, gus an robh an fluagh uile air dol thar Iordan[b].

C A I B. IV.

AGUS an uair a bha 'n fluagh uile air dol thar Iordan, an fin labhair an Tighearna ri Iofua, ag ràdh,

2 Gabhaibh dhuibh féin dà fhear dheug as an t-fluagh, duine as gach tréibh,

3 Agus àithnibh dhoibh, ag ràdh, Thugaibh leibh o fo a meadhon Iordain, as an àite anns an do fheas cofa nan fagart gu daingean, dà chloich dheug, agus bheir fibh iad thairis leibh, agus cuiridh fibh iad anns an àite-tàimh anns an gabh fibh fois an nochd.

4 An fin ghairm Iofua air an dà fhear dheug, a dheafaich e a cloinn Ifraeil, fear as gach tréibh.

5 Agus thubhairt Iofua riu, Rachaibh thairis roimh àirc an Tighearna bhur Dé gu meadhon Iordain, agus togadh gach fear dhibh clach air a ghualainn, a réir àireimh threubha chloinn Ifraeil:

6 A chum as gu'm bi fo na chomhara 'nar meafg, *a chum* 'nuair a dh'fhiofraicheas bhur clann fan àm ri teachd[c], ag ràdh, Ciod *is ciall* duibh leis na clachaibh fo?

7 An fin gu'm freagair fibh iad, Gu'n robh uifgeacha Iordain air an fgaradh o chéile roimh àirc coimhcheangail an Tighearna, 'nuair a chaidh i thar Iordan, *gu'n* robh uifgeacha Iordain air an fgaradh o chéile: agus bithidh na clachan fo nan cuimhneachan do chloinn Ifraeil gu bràth.

8 Agus rinn clann Ifraeil amhuil mar a dh'àithn Iofua, agus thog iad fuas dà chloich dheug a meadhon Iordain, mar a labhair an Tighearna ri Iofua, a réir àireimh threubha chloinn Ifraeil, agus ghiùlain iad leo thairis iad do'n àit anns an do ghabh iad tàmh, agus chuir iad sìos an fin iad.

9 Agus chuir Iofua fuas dà chloich dheug am meadhon Iordain, fan ionad anns an do fheas cofa nan fagart a ghiùlain àirc a' choimhcheangail: agus tha iad an fin gus an la'n diugh.

10 Oir fheas na fagairt a ghiùlain an àirc am meadhon Iordain, gus an do chrìochnaicheadh gach ni a dh'àithn an Tighearna do Iofua a labhairt ris an t-fluagh, a réir nan uile nithe a dh'àithn Maois do Iofua: agus rinn an fluagh cabhag, agus chaidh iad thairis.

11 Agus an uair a bha 'n fluagh uile air dol thairis, an fin chaidh àirc an

[a] *deas.* [b] *gus an do chuir an fluagh uile crìoch air dol thar Iordan.* Eabh.
[c] *am màireach.* Eabh.

an Tighearna thairis, agus na ſagairt
an làthair an t-ſluaigh.
12 Agus chaidh clann Reubein,
agus clann Ghad, agus leth thréibh
Mhanaſeh, thairis fo'n armaibh roimh
chloinn Iſraeil, mar a labhair Maois
riu:
13 Chaidh thairis mu thimchioll dà
fhichead mìle, deas air ſon cogaidh,
an làthair an Tighearna gu cath do
chòmhnardaibh Ierìcho.
14 Air an là ſin dh'àrdaich an
Tighearna Ioſua ann an ſealladh Iſraeil
uile, agus bha eagal orra roimhe, mar
a bha eagal orra roimh Mhaois, uile
laithean a bheatha.
15 Agus labhair an Tighearna ri
Ioſua, ag ràdh,
16 Aithn do na ſagartaibh a tha
giùlan àirc na fianuis, iad a theachd a
nìos a Iordan.
17 Agus dh'àithn Ioſua do na
ſagartaibh, ag ràdh, Thigibh a nìos a
Iordan.
18 Agus an uair a bha na ſagairt a
ghiùlain àirc coimhcheangail an Tigh-
earn air teachd a nìos a meadhon
Iordain, *agus* a bha buinn chos nan
ſagart air an togail ſuas air an talamh
thioram, an ſin phill uiſgeacha Iordain
d'an àite féin, agus chaidh iad thar a
bhruachan uile, mar *a rinn iad* roimhe.
19 Agus thàinig an ſluagh a nìos a
Iordan air an deicheamh *là* do'n cheud
mhìos, agus champaich iad ann an
Gilgal, ſan iomall a làimh na h-airde
'n ear do Iericho.
20 Agus an dà chloich dheug ſin a
thug iad a mach a Iordan, chuir Ioſua
ſuas ann an Gilgal.
21 Agus labhair e ri cloinn Iſraeil,
ag ràdh, 'Nuair a dh'fhioſraicheas
bhur clann d'an aithrichibh ſan àm ri
teachd, ag ràdh, Ciod *is ciall do* na
clachaibh ſo?
22 An ſin bheir ſibh fios d'ar cloinn,
ag ràdh, Thàinig Iſrael thar Iordan ſo
air talamh tioram.
23 Oir thiormaich an Tighearna
bhur Dia ſuas uiſgeacha Iordain roimh-
ibhſe, gus an deachaidh ſibh thairis,
mar a rinn an Tighearna bhur Dia
air a' mhuir ruaidh, a thiormaich e
ſuas romhainn, gus an robh ſinn air
dol thairis:
24 A chum as gu'n aithnich ſluagh
na talmhainn uile làmh an Tighearna,
gu *bheil* i cumhachdach: a chum gu'm
bi eagal an Tighearna bhur Dé oirbh
am feaſd [a].

C A I B. V.

AGUS an uair a chual' uile righre
nan Amorach a *bh*'air an taobh
thall do Iordan a làimh na h-airde 'n
iar, agus uile righre nan Canaanach a
bha làimh ris an fhairge, gu'n do
thiormaich an Tighearna ſuas uiſg-
eacha Iordain roimh chloinn Iſraeil,
gus an deachaidh ſinn thairis, leagh
an cridhe, agus cha robh ſpiorad
tuilleadh annta, air ſon chloinn Iſraeil.
2 Anns an àm ſin thubhairt an
Tighearna ri Ioſua, Dean duit féin
ſgeanan geura [b], agus timchioll-ghearr
clann Iſraeil a rìs an daradh uair.
3 Agus rinn Ioſua dha féin ſgeanan
geura, agus thimchioll-ghearr e clann
Iſraeil aig cnoc nan roimh-chraicionn.
4 Agus is e an t-aobhar mu'n do
thimchioll-ghearr Ioſua: Fhuair an
ſluagh uile a thàinig a mach as an
Eiphit *a bha* nam ſirionnaich, *eadhon*
na fir-chogaidh uile, bàs anns an
fhàſach air an t-ſlighe, an déigh
dhoibh teachd a mach as an Eiphit.
5 A nis bha 'n ſluagh uile a thàinig
a mach, air an timchioll-ghearradh;
ach an ſluagh uile a rugadh ſan fhàſ-
ach air an t-ſlighe, 'nuair a thàinig
iad a mach as an Eiphit, *iadſan* cha do
thimchioll-ghearr iad.
6 Oir dh'imich clann Iſraeil anns
an fhàſach dà fhichead bliadhna, gus
an deachaidh as [c] do'n luchd-cogaidh
uile a thàinig a mach as an Eiphit, a
chionn nach d'thug iad géill do ghuth
an Tighearna: d'an do mhionnaich
an Tighearna nach nochdadh e dhoibh
am fearann, a mhionnaich an Tigh-
earna d'an aithrichibh gu'n d'thugadh
e dhuinn, fearann a tha ſruthadh le
bainne agus mil.
7 Agus an clann-ſan *a* thog e ſuas
nan àite, iadſan thimchioll-ghearr
Ioſua: oir bha iad neo-thimchioll-
ghearrta,

[a] *gach la.* Eabh.
[b] *ſgeanan do chlachaibh cruaidh.* Eabh.
[c] *do chaitheadh, do bhàſaich.*

ghearrta, a chionn nach do thimchioll-
ghearradh iad air an t-ſlighe.
8 Agus an uair a bha 'n ſluagh uile
air an timchioll-ghearradh, dh'fhan
iad nan àitibh anns a' champ, gus an
robh iad ſlàn.
9 Agus thubhairt an Tighearna ri
Ioſua, Air an la 'n diugh bhuin mi
air ſalbh uaibh maſladh na h-Eiphit:
uime ſin thugadh Gilgal mar ainm
air an àite ſin gus an la 'n diugh.
10 Agus champaich clann Iſraeil
ann an Gilgal, agus chum iad a' chàiſg,
air a' cheathramh la deug do'n mhios
anns an fheaſgar, ann an comhnard-
aibh Iericho.
11 Agus dh'ith iad do ſhean bhàrr [a]
an fhearainn air an la màireach an
deigh na càiſge, breacagan neo-ghoirt-
ichte, agus *ſìol* cruaidhichte air an la
ſin fèin.
12 Agus ſguir am mana air an la
màireach an deigh dhoibh itheadh do
ſhean bhàrr an fhearainn, ni mò a
bha mana tuilleadh aig cloinn Iſraeil,
ach dh'ith iad do thoradh fearainn
Chanaain air a' bhliadhna ſin.
13 Agus an uair a bha Ioſua làimh
ri Iericho, thog e ſuas a ſhùilean agus
dh'amhairc e, agus feuch, ſheas duine
thall fa chomhair, agus a chlaidheamh
ràiſgte na làimh: agus chaidh Ioſua
d'a ionnſuidh, agus thubhairt e ris,
An ann leinne *a tha* thu, no le'r
n-eaſcairdibh?
14 Agus thubhairt e, Cha 'n ann:
ach mar cheannard ſlòigh an Tigh-
earna tha mi a nis air teachd. Agus
thuit Ioſua air 'aghaidh air an talamh,
agus rinn e aoradh, agus thubhairt e
ris, Ciod *a tha* mo thighearn ag ràdh
r'a ſheirbhiſeach?
15 Agus thubhairt ceannard ſlòigh
an Tighearna ri Ioſua, Fuaſgail do
bhròg bhàrr do choiſe, oir *tha* 'n
t-ionad air am bheil thu a'd' ſheaſamh,
naomha. Agus rinn Ioſua mar ſin.

C A I B. VI.

ANIS bha Iericho air a dhruid-
eadh ſuas gu teann, roimh
chloinn Iſraeil: cha deachaidh neach
air bith a mach, agus cha d'thàinig
neach air bith a ſtigh.
2 Agus thubhairt an Tighearna ri
Ioſua, Feuch, thug mi do d' làimh
Iericho, agus a righ, *agus* na daoine
treun ann an neart.
3 Agus cuairtichidh ſibh am baile,
ſibhſe fheara-cogaidh uile, agus théid
ſibh mu thimchioll a' bhaile aon uair:
mar ſo ni thu air sè laithibh.
4 Agus giùlainidh ſeachd ſagairt
roimh an àirc ſeachd trompaidean a
dh'adhaircibh reitheachan: agus air
an t-ſeachdamh la théid ſibh mu
thimchioll a' bhaile ſeachd uairean,
agus ſéididh na ſagairt leis na tromp-
aidibh.
5 Agus an uair a ni iad *fuaim* fhada
le adhaircibh nan reitheachan, *agus* an
uair a chluinneas ſibh fuaim na tromp-
aide, an ſin éighidh an ſluagh uile le
h-iolaich mhóir, agus tuitidh balladh
a' bhaile ſios o 'bhunadh, agus théid
an ſluagh ſuas gach duine direach
roimhe.
6 Agus ghairm Ioſua mac Nuin
air na ſagartaibh, agus thubhairt e
riu, Togaibh ſuas àirc a' choimh-
cheangail, agus giùlaineadh ſeachd
ſagairt ſeachd trompaidean a dh'adh-
aircibh reitheachan roimh àirc an
Tighearna.
7 Agus thubhairt e ris an t-ſluagh,
Gabhaibh air bhur n-aghaidh, agus
cuairtichibh am baile, agus gabhadh
eſan a tha fo armaibh air 'aghaidh
roimh àirc an Tighearna.
8 Agus an uair a labhair Ioſua ris
an t-ſluagh, ghabh na ſeachd ſagairt
a' giùlan ſheachd trompaidean a
dh'adhaircibh reitheachan air an
aghaidh roimh 'n Tighearna, agus
ſhéid iad leis na trompaidibh: agus
lean àirc coimhcheangail an Tigh-
earn iad.
9 Agus chaidh na daoine armaichte
roimh na ſagartaibh a ſhéid leis na
trompaidibh: agus thàinig a' chuid
eile do'n t-ſluagh [b] an déigh na h-àirce,
na ſagartan a' gabhail air an aghaidh,
agus a' ſéideadh leis na trompaidibh.
10 Agus dh'àithn Ioſua do'n t-ſluagh,
ag ràdh, Cha dean ſibh iolach, agus
cha dean ſibh fuaim ſam bith le'r guth,
ni mò théid ſoc[illegible] *bith* a mach as
bhur beul, gus an là anns an abair
miſe

[a] *arbhar, sìol, toradh.*

[b] *iadſan a bh'air dheireadh.*

miſe ribh, Deanaibh iolach; an ſin ni
ſibh iolach.
11 Mar ſin chuairtich àirc an Tigh-
earn am baile, a' dol m' *a* thimchioll
aon uair: agus thàinig iad do'n
champ, agus ghabh iad tàmh anns a'
champ.
12 Agus dh'éirich Ioſua gu moch
ſa' mhaduinn, agus thog na ſagairt
ſuas àirc an Tighearna.
13 Agus dh'imich air an aghaidh a
ghnàth ſeachd ſagairt a' giùlan ſheachd
trompaidean a dh'adhaircibh reith-
eacha roimh àirc an Tighearna, agus
ſhéid iad leis na trompaidibh: agus
dh'imich an ſluagh armaichte rompa,
ach thàinig a' chuid eile do'n t-ſluagh
an déigh àirc an Tighearna, *na ſagairt*
a' gabhail air an aghaidh, agus a'
ſéideadh leis na trompaidibh.
14 Agus air an dara là chuairtich
iad am baile aon uair, agus phill iad
do'n champ: mar ſo rinn iad *air* ſè
laithibh.
15 Agus air an t-ſeachdamh là
dh'éirich iad gu moch mu bhriſeadh
na ſàire [a], agus chuairtich iad am
baile air an dòigh cheudna, ſeachd
uairean: a mhàin air an là ſin chuairt-
ich iad am baile ſeachd uairean.
16 Agus air an t-ſeachdamh uair,
ſhéid na ſagairt leis na trompaidibh,
agus thubhairt Ioſua ris an t-ſluagh,
Deanaibh iolach, oir thug an Tigh-
earna dhuibh am baile.
17 Agus bithidh am baile mall-
aichte, e féin, agus gach *ni* a *th'*ann,
do'n Tighearna: a mhàin bithidh
Rahab an ſtrìopach beo, i féin agus
iadſan uile a *tha* maille rithe ſan tigh,
a chionn gu'n d'fholaich i na teachd-
airean a chuir ſinn *uainn*.
18 Agus ſibhſe, air gach aon chor
gleidhibh *ſibh féin* o'n ni mhallaichte,
air eagal gu'n dean ſibh *ſibh féin*
mallaichte, 'nuair a ghabhas ſibh do'n
ni mhallaichte, agus gu'n dean ſibh
camp Iſraeil na mhallachadh, agus
gu'n cuir ſibh e fuidh bhuaireas [b].
19 Ach *tha* 'n t-airgiod uile, agus
an t-òr, agus na ſoithichean umha
agus iaruinn, coiſrigte do'n Tighearna:
thig iad a ſteach do ionmhas [c] an
Tighearna.
20 Agus rinn an ſluagh iolach an
uair a ſhéid *na ſagairt* leis na tromp-
aidibh: agus an uair a chual' an
ſluagh fuaim na trompaide, agus a
dh'éigh an ſluagh le h-iolaich mhòir,
an ſin thuit am balladh ſios gu làr;
agus chaidh an ſluagh ſuas do'n bhaile,
gach duine dìreach roimhe, agus ghlac
iad am baile.
21 Agus léir-ſgrios iad gach *ni* a
bha ſa' bhaile, eadar fhear agus bhean,
òg agus ſhean, agus dhamh, agus
chaora, agus aſal, le faobhar a' chlaidh-
eimh.
22 Ach ris an dithis fhear a rann-
ſaich a mach an tìr thubhairt Ioſua,
Rachaibh a ſteach do thigh na ſtriop-
aiche, agus thugaibh a mach as ſin a'
bhean, agus gach *ni* a th'aice, mar a
mhionnaich ſibh dhi.
23 Agus chaidh na h-òganaich a
bha nan luchd-rannſachaidh [d] a ſtigh,
agus thug iad a mach Rahab, agus a
h-athair, agus a màthair, agus a
bràithre, agus gach *ni* a bh'aice: agus
thug iad a mach a diſlean uile, agus
chuir iad an taobh a muigh do champ
Iſraeil iad.
24 Agus loiſg iad am baile le teine,
agus gach *ni* a bh'ann: a mhàin an
t-airgiod, agus an t-òr, agus na ſoith-
ichean umha agus iaruinn, chuir iad
ann an ionmhas tighe an Tighearna.
25 Agus ghléidh Ioſua Rahab an
ſtrìopach beo, agus teaghlach a h-athar,
agus gach *ni* a *bh'*aice; agus tha i na
còmhnuidh ann an Iſrael gus an la 'n
diugh, a chionn gu'n d'fholaich i na
teachdairean a chuir Ioſua a rannſach-
adh a mach Iericho.
26 Agus chuir Ioſua fuidh mhionn-
aibh *iad* ſan àm ſin, ag ràdh, Mall-
aichte *gu robh* an duine an làthair an
Tighearna, a dh'éireas agus a thogas
am baile ſo Iericho: na cheud-ghin
leagaidh e a bhunait, agus na *mhac* a's
òige cuiridh e ſuas a gheatacha.
27 Mar ſo bha'n Tighearna maille
ri Ioſua, agus ſgaoileadh 'iomradh ſan
air feadh na tìre uile.

CAIB.

[a] *chamhanaich, ſcarthanaich an là.* [b] *mhi-ſhuaimhneas.* [c] *thaiſgeach.*
[d] *luchd-brathaidh.*

CAIB. VII.

ACH rinn clann Ifraeil cionta fan
ni mhallaichte: oir ghabh
Achan mac Charmi, mhic Shabdi,
mhic Sherah, do thréibh Iudah, *cuid*
do'n ni mhallaichte: agus las fearg
an Tighearn an aghaidh chloinn
Ifraeil.
2 Agus chuir Iofua daoine o Iericho
gu h-Ai, a *tha* làimh ri Bet-abhen,
air an taobh an ear do Bhetel, agus
labhair e riu, ag ràdh, Rachaibh fuas,
agus rannfaichibh a mach an tìr.
Agus chaidh na daoine fuas, agus
rannfaich iad a mach Ai.
3 Agus phill iad gu Iofua, agus
thubhairt iad ris, Na rachadh an
fluagh uile fuas; ach rachadh mu
thimchioll dà mhìle no tri mìle fear
fuas, agus buaileadh iad Ai: na dthoir
air an t-fluagh uile faoithreachadh an
fin; oir *cha 'n'eil ann* diubh *ach* beag-
an.
4 Agus chaidh fuas an fin do'n
t-fluagh mu thimchioll tri mìle
fear, agus theich iad roimh fheara Ai.
5 Agus bhuail fir Ai dhiubh mu
thimchioll sè fir dheug'thar fhichead:
oir chuir iad an ruaig orra o chomh-
air a' gheataidh *eadhon* gu Sebarim,
agus bhuail iad fan dol sìos iad: uime
fin leagh cridhe an t-fluaigh, agus
dh'fhàs e mar uifge.
6 Agus reub Iofua 'eudach, agus
thuit e gu làr air 'aghaidh roimh àirc
an Tighearna, gu tràth feafgair, e
féin agus feanairean Ifraeil, agus chuir
iad duflach air an cinn.
7 Agus thubhairt Iofua, Och! a
Thighearna Dhé, c'ar fon a thug thu
idir an fluagh fo thar Iordan, g'ar
toirt thairis do làimh nan Amorach, a
chum ar fgrios? O b'fhearr gu'm bio-
maid toilichte, agus gu'm biomaid air
gabhail còmhnuidh air an taobh eile
do Jordan!
8 O Thighearna, ciod a their mi
'nuair a thionndaidheas Ifrael an cùl
r'an naimhdibh?
9 Oir cluinnidh na Canaanaich,
agus uile luchd-àiteachaidh na tìre,
agus iadhaidh iad mu'n cuairt oirnn,
agus gearraidh iad as ar n-ainm o'n
talamh: agus ciod a ni thu ri d'ainm
mòr?
10 Agus thubhairt an Tighearna
ri Iofua, Eirich fuas; c'ar fon a luidh-
eas tu mar fo air t'aghaidh?
11 Pheacaich Ifrael, agus bhris iad
mar an ceudna mo choimhcheangal a
dh'àithn mi dhoibh; oir ghabh iad
eadhon do'n ni mhallaichte, agus mar
an ceudna ghoid iad, agus mar an
ceudna cheil[a] iad, agus chuir iad
eadhon am meafg an airneis féin *e*.
12 Uime fin cha b'urrainn clann
Ifraeil feafamh roimh an naimhdean,
ach thionndaidh iad *an* cùl r'an naimh-
dibh, a chionn gu'n robh iad mall-
aichte. Cha bhi mife maille ribh
tuille, mur fgrios fibh an ti mhallaichte
as bhur meafg
13 Eirich fuas, naomhaich an fluagh,
agus abair, Naomhaichibh fibh féin
air fon an la màireach: oir mar fo
tha'n Tighearna Dia Ifraeil ag ràdh,
Tha ni mallaichte a'd' mheadhon, O
Ifrael: cha'n urrainn thu feafamh
roimh do naimhdibh, gus an cuir fibh
air falbh an ni mallaichte as bhur
meafg.
14 Anns a' mhaduinn uime fin
bheirear cuideachd fibh a réir bhur
treubha: agus an treubh a ghabhas
an Tighearna, thig i a réir *a* teagh-
laichean; agus thig an teaghlach a
ghabhas an Tighearn, a réir a thigh-
ean; agus thig an tigh a ghabhas an
Tighearn, a lion fear is fear
15 Agus efan a ghlacar leis an ni
mhallaichte, loifgear le teine e féin
agus gach *ni* a *th*'aige; a chionn gu'n
do bhris e coimhcheangal an Tigh-
earna, agus gu'n d'rinn e amaideachd[b]
ann an Ifrael.
16 Uime fin dh'éirich Iofua gu
moch fa' mhaduinn, agus thug e leis
Ifrael a réir an treubha, agus ghabh-
adh treubh Iudah.
17 Agus thug e leis teaghlach
Iudah, agus ghabh e teaghlach nan
Sarhitheach: agus thug e leis teagh-
lach nan Sarhitheach a lion fear is
fear; agus ghabhadh Sabdi
18 Agus thug e leis a thigh, a lion
fear agus fear; agus ghabhadh Achan

[a] *dh'aicheadh iad.* [b] *lochd.*

mac Charmi, mhic Shabdi, mhic
Sherah, do thréibh Iudah.
19 Agus thubhairt Iosua ri Achan,
A mhic, thoir, guidheam ort, glòir
do'n Tighearna Dia Israeil, agus
dean aidmheil da; agus innis domh
a nis ciod a rinn thu, na folaich
uam *e*.
20 Agus fhreagair Achan Iosua,
agus thubhairt e, Gu deimhin, pheac-
aich mi an aghaidh an Tighearna Dé
Israeil, agus mar so agus mar so rinn
mi.
21 'Nuair a chunnaic mi am measg
na creiche earradh [a] bhréagha Bhabil-
onach, agus dà cheud secel airgid,
agus geinn òir anns *an robh* leth-cheud
secel do chudthrom, an sin shanntaich
mi iad, agus ghabh mi iad; agus feuch,
tha iad folaichte san talamh am meadh-
on mo bhùtha, agus an t-airgiod
fuidhe.
22 Mar sin chuir Iosua teachdair-
ean uaith, agus ruith iad do'n bhùth,
agus feuch *bha e* folaichte na bhùth,
agus an t-airgiod fuidhe.
23 Agus thug iad *leo* iad a meadh-
on a' bhutha, agus thug iad gu Iosua
iad, agus gu clann Israeil uile, agus
sgaoil [b] iad a mach iad am fianuis an
Tighearna.
24 Agus ghabh Iosua agus Israel
uile maille ris, Achan mac Sherah,
agus an t-airgiod, agus an earradh,
agus an geinn òir, agus a mhic, agus a
nigheana, agus a dhaimh, agus 'asail,
agus a chaoraich, agus a bhùth, agus
gach *ni* a *bh*'aige; agus thug iad do
ghleann Achoir iad.
25 Agus thubhairt Iosua, C'ar son
a chuir thu dragh oirnn? cuiridh an
Tighearna dragh ortsa an diugh.
Agus chlach clann Israeil uile e le
clachaibh, agus loisg iad le teine iad,
an déigh dhoibh an clachadh le clach-
aibh.
26 Agus thog iad suas carn mòr
chlach air a mhuin gus an la'n diugh:
Agus phill an Tighearna o ghairge a
chorruich. Uime sin thugadh gleann
Achoir mar ainm air an àite sin gus
an la 'n diugh.

CAIB. VIII.

AGUS thubhairt an Tighearna ri
Iosua, Na gabh eagal, agus na
bi fa gheilt: gabh an sluagh cogaidh
uile maille riut, agus éirich, imich
suas gu h-Ai; feuch, thug mi thairis
do d' làimh righ Ai, agus a shluagh,
agus a bhaile, agus 'fhearann.
2 Agus ni thu ri h-Ai agus r'a
righ, mar a rinn thu ri Iericho, agus
r'a righ: a mhàin a chreach, agus a
spréidh, gabhaidh sibh mar chobh-
artach dhuibh féin: cuir *daoine* ann am
feall-fholach [c] an aghaidh a' bhaile
air a chùlaobh.
3 Agus dh'éirich Iosua agus an
sluagh cogaidh uile, a dhol suas an
aghaidh Ai: agus thagh Iosua mach
deich mìle fichead a dh'fhearaibh
treun ann an neart, agus chuir e air
falbh iad san oidhche.
4 Agus dh'àithn e dhoibh, ag ràdh,
Feuch, ni sibh feall-fholach an aghaidh
a' bhaile, *eadhon* air cùl a' bhaile: na
rachaibh ro-fhad o'n bhaile, ach bith-
ibh uile deas:
5 Agus théid mise, agus an sluagh
uile a *tha* maille rium, dlùth do'n
bhaile: agus an uair a thig iad a
mach 'nar coinneamh, mar air tùs,
teichidh sinne rompa.
6 (Oir thig iad a mach 'nar déigh)
gus an tarruing sinn iad o'n bhaile;
oir their iad, *Tha* iad a' teicheadh
romhainn, mar air tùs: uime sin
teichidh sinne rompa.
7 An sin éiridh sibhse o'n fheall-
fholach, agus glacaidh sibh am baile:
oir bheir an Tighearna bhur Dia 'nar
làimh e.
8 Agus an uair a ghlacas sibh am
baile, cuiridh sibh am baile ri theine:
a réir àithne an Tighearna ni sibh.
Feuch, dh'àithn mise dhuibh.
9 Uime sin chuir Iosua mach iad;
agus dh'fhalbh iad a dheanamh feall-
fholach, agus dh'fhan iad eadar Betel
agus Ai, air an taobh an iar a dh'Ai:
ach dh'fhan Iosua an oidhche sin am
measg an t-sluaigh.
10 Agus dh'éirich Iosua gu moch
sa' mhaduinn, agus dh'àireamh e'n
sluagh,

[a] *truscan, culaidh, falluing.* [b] *chuir.* [c] *plaid-luidhe.*

ſluagh [a], agus chaidh e ſuas, e féin
agus ſcanairean Iſraeil, roimh 'n
t-ſluagh gu h-Ai.
11 Agus chaidh an ſluagh cogaidh
uile ſuas, a *bha* maille ris, agus chaidh
iad am fagus, agus thàinig iad fa
chomhair a' bhaile, agus champaich
iad air an taobh mu thuath do
Ai: a nis *bha* gleann eadar iad agus
Ai.
12 Agus ghabh e mu thimchioll
chùig mile fear, agus chuir e iad a
dheanamh feall-fholach eadar Betel
agus Ai, air an taobh an iar do'n
bhaile.
13 Agus an uair a ſhuidhich iad an
ſluagh, *eadhon* am feachd uile a *bh*'air
an taobh mu thuath do'n bhaile, agus
an luchd feall-fholach air an taobh an
iar do'n bhaile, chaidh Ioſua ſan
oidhche ſin do mheadhon a' ghlinne.
14 Agus an uair a chunnaic righ
Ai *ſin*, rinn iad cabhag agus dh'éirich
iad gu moch, agus chaidh fir a' bhaile
a mach gu cath an aghaidh Iſraeil, e
féin agus a ſhluagh uile, ann an àm
ſuidhichte, fa chomhair a' chòmh-
nuird; ach cha robh fhios aige gu'*n
robh* luchd feall-fholach na aghaidh air
cùl a' bhaile.
15 Agus rinn Ioſua agus Iſrael uile
mar gu'm buailte iad rompa, agus
theich iad rathad an fhàſaich.
16 Agus ghairmeadh an ſluagh uile
a *bha* ann an Ai [b] an ceann a' chéile
gu dol air an tòir, agus chaidh iad air
tòir Ioſua, agus thairngeadh o'n bhaile
iad.
17 Agus cha d'fhàgadh duine ann
an Ai, no ann am Betel, nach deach-
aidh a mach an déigh Iſraeil: agus
dh'fhàg iad am baile foſgailte, agus
chaidh iad air tòir Iſraeil.
18 Agus thubhairt an Tighearna ri
Ioſua, Sìn a mach an t-ſleagh a *tha*
d'làimh rathad Ai; oir bheir miſe
a'd' [c] làimh e. Agus ſhìn Ioſua mach
an t-ſleagh a *bh'aige* na làimh, a
dh'ionnſuidh a' bhaile.
19 Agus dh'éirich na daoine a bha
ris an fheall-fholach gu grad as an
àite, agus ruith iad co luath 'ſa ſhìn e
mach a làmh: agus chaidh iad a ſtigh
do'n bhaile, agus ghlac iad e, agus
rinn iad cabhag, agus chuir iad am
baile ri theine.
20 Agus an uair a ſheall fir Ai nan
déigh, chunnaic iad, agus feuch, chaidh
deatach a' bhaile ſuas gu nèamh, agus
cha robh comas aca teicheadh an taobh
ſo no'n taobh ud: agus thionndaidh
an ſluagh a theich do'n fhàſach, air
an ais air an luchd-tòrachd.
21 Agus an uair a chunnaic Ioſua
agus Iſrael uile gu'n do ghlac luchd
na feall-fholach am baile, agus gu'n
deachaidh deatach a' bhaile ſuas, an
ſin phill iad, agus bhuail iad fir Ai.
22 Agus chaidh iadſan a mach as a'
bhaile nan aghaidh; mar ſin bha iad
am meadhon Iſraeil, cuid air an taobh
ſo, agus cuid air an taobh ud: agus
bhuail ſiad iad, gus nach d'fhàgadh
aon diubh beo, no aon gu dol as.
23 Agus ghlac iad righ Ai beo,
agus thug iad e gu Ioſua.
24 Agus an uair a chuir Iſrael crìoch
air uile luchd-àiteachaidh [d] Ai a
mharbhadh, anns a' mhachair, anns
an fhàſach d'an do chuir iad an ruaig
orra, agus an uair a thuit iad uile air
faobhar a' chlaidheimh, gus an do
chuireadh as doibh, an ſin phill na
h-Iſraelich uile gu h-Ai, agus bhuail
iad e le faobhar a' chlaidheimh.
25 Agus bha ann dhiubhſan uile a
thuit air an là ſin, eadar fheara agus
mhnài, dà mhìle dheug, *eadhon* muinn-
tir Ai uile:
26 Oir cha do tharruing Ioſua a
làmh air a h-ais, a ſhìn e mach leis an
t-ſleagh, gus an do léir-ſgrios e luchd-
àiteachaidh Ai uile.
27 A mhàin ſpréidh agus creach a'
bhaile ſin, ghabh Iſrael mar chobh-
artach dhoibh féin, a réir focail an
Tighearn a dh'àithn e do Ioſua.
28 Agus loiſg Ioſua Ai, agus rinn
e na charn e gu bràth, na fhàſach
gus an la 'n diugh.
29 Agus righ Ai chroch e air
crann gu àm an fheaſgair: agus mu
dhol fuidhe na gréine dh'àithn Ioſua,
agus thug iad a nuas a chorp o'n
chrann, agus thilg iad e aig dol a ſtigh
geataidh a' bh[aile]; agus thog iad air
carn

[a] *ghabh e beachd do'n t-ſluagh.* [b] *anns a' bhaile.* [c] *'nad.* [d] *luchd-còmhnuidh.*

carn mòr chlach *a tha làthair* gus an la 'n diugh.

30 An sin thog Iosua altair do'n Tighearna Dia Israeil air sliabh Ebail,

31 Mar a dh'àithn Maois òglach an Tighearna do chloinn Israeil, a réir mar a ta e scrìobhta ann an leabhar lagha Mhaois, altair do chlachaibh slàna, air nach do thog duine sam bith suas iarunn; agus thug iad suas oirre ìobairtean-loisgte do'n Tighearna, agus dh'ìobair iad tabhartais-sìth.

32 Agus scrìobh e 'n sin air na clachaibh dùblachadh lagha Mhaois, a scrìobh e an làthair chloinn Israeil.

33 Agus sheas Israel uile, agus an seanairean, agus *an* luchd-riaghlaidh, agus am breitheamhna, air an taobh so do'n àirc, agus air an taobh ud, an làthair nan sagart nan Lebhitheach, a ghiùlain àirc coimhcheangail an Tighearna, an coigreach co maith ris-san a rugadh nam measg; leth dhiubh thall fa chomhair sléibh Gherisim, agus leth dhiubh thall fa chomhair sléibh Ebail: mar a dh'àithn Maois òglach an Tighearna, chum sluagh Israeil a bheannachadh air tùs [a].

34 Agus an déigh sin leugh [b] e uile bhriathran an lagha, na beannachdan agus na mallachdan, a réir nan uile *nithe ta* scrìobhta ann an leabhar an lagha.

35 Cha robh focal do na h-uile *nithibh* a dh'àithn Maois, nach do leugh Iosua an làthair coimhchruinnich Israeil uile, agus nam ban, agus na cloinne bige, agus nan coigreach a bha fantuinn nam measg.

CAIB. IX.

AGUS an uair a chuala na righrean uile a *bh*'air an taobh so do Iordan, anns na beanntaibh, agus anns a' chòmhnard, agus ann an uile oirthir [c] na fairge mòire thall fa chomhair Lebanoin, an Hiteach, agus an t-Amorach, an Canaanach, am Periseach, an Hibheach, agus an Iebusach *so;*

2 Chruinnich iad an ceann a chéile a chogadh ri Iosua, agus ri h-Israel, le aon rùn.

3 Agus an uair a chuala luchd-àiteachaidh Ghibeoin ciod a rinn Iosua ri Iericho, agus ri h-Ai;

4 Rinn iadsan mar an ceudna gu seòlta, agus chaidh iad agus leig iad orra gu'm bu teachdairean iad, agus ghabh iad seann saic air an asalaibh, agus fion-shearragan [d] *a bha* sean agus reubta, agus ceangailte suas.

5 Agus brògan *a bha* sean agus càirichte air an cosaibh, agus sean eudach orra, agus bha aran an lòin uile tioram *agus* liath.

6 Agus chaidh iad a dh'ionnsuidh Iosua do'n champ gu Gilgal, agus thubhairt iad ris, agus ri fir Israeil, Thàinig sinne o dhùthaich fad as: a nis uime sin deanaibh coimhcheangal ruinn.

7 Agus thubhairt fir Israeil ris na Hibhich, Theagamh gu bheil sibh a chòmhnuidh nar measg, agus cionnus a dh'fheudas sinne coimhcheangal a dheanamh ribh?

8 Agus thubhairt iad ri Iosua, *Is* sinne do sheirbhisich. Agus thubhairt Iosua riu, Cò sibh? agus cia as a thàinig sibh?

9 Agus thubhairt iad ris, O dhùthaich ro-fhad air astar thàinig do sheirbhisich air sgàth ainm an Tighearna do Dhé: oir chuala sinn 'iomradh-san, agus gach *ni* a rinn e san Eiphit,

10 Agus gach *ni* a rinn e ri dà righ nan Amorach, a *bha* 'n taobh thall do Iordan, ri Sihon righ Hesboin, agus ri h-Og righ Bhasain, a *bha* aig Astaroth;

11 Uime sin labhair ar seanairean agus uile luchd-àiteachaidh ar dùthcha ruinn, ag ràdh, Gabhaibh lòn 'nar làimh air son an turuis, agus rachaibh nan coinneamh, agus abraibh riu, *Is* sinne bhur seirbhisich; agus a nis deanaibh coimhcheangal ruinn.

12 An t-aran so againn ghabh sinn teth *air son* ar lòin a mach as ar tighibh, san là anns an d'thàinig sinn a mach gu dol d'ar n-ionnsuidh-sa; ach a nis feuch, tha e tioram, agus liath:

13 Agus na searragan fiona so a lìon sinn, *bha iad* nuadh [e], agus feuch, tha iad reubta: agus tha ar n-eudach so

---

[a] *mar a dh'àithn Maois roimhe, a chum gu'm beannaicheadh iad sluagh Israeil.*
[b] *dh'éigh.* Eabh.
[c] *sblios.*
[d] *fion-bhuideil.*
[e] *nomha.*

so agus ar brògan air fàs sean, le ro-fhad na slighe.

14 Agus ghabh na daoine d'am biadh, agus cha d'iarr iad *comhairle* o bheul an Tighearna.

15 Agus rinn Iosua sìth riu, agus rinn e coimhcheangal riu, a leigeil leo bhi beo: agus mhionnaich uachdarain a' choimhchruinnich dhoibh.

16 Agus thachair an ceann thri laithean, an déigh dhoibh coimhcheangal a dheanamh riu, gu'n cual' iad gu'm *b*'iad an coimhearsnaich iad, agus *gu*'n robh iad a chòmhnuidh nam measg.

17 Agus chaidh clann Israeil air an aghaidh, agus thàinig iad a dh'ionnsuidh am bailtean [a] air an treas là: a nis *b'iad* am bailte Gibeon, agus Chephirah, agus Beerot, agus Ciriat-iearim.

18 Agus cha do bhuail clann Israeil iad, a chionn gu'n do mhionnaich uachdarain a'choimhchruinnich dhoibh air an Tighearna Dia Israeil: Agus rinn an coimhchruinneach uile gearan [b] an aghaidh nan uachdaran.

19 Ach thubhairt na h-uachdarain uile ris a' choimhchruinneach uile, Mhionnaich sinn dhoibh air an Tighearna Dia Israeil; agus uime sin cha 'n fheud sinn beantuinn riu.

20 So ni sinn riu; leigidh sinn eadhon leo a bhi beo, a chum as nach bi fearg *Dhé* 'nar n-aghaidh, air son nam mionnan a mhionnaich sinn dhoibh.

21 Agus thubhairt na h-uachdarain riu, Leigibh leo bhi beo, ach biodh iad nan luchd-gearraidh fiodha, agus nan luchd-tarruing uisge do'n choimhchruinneach uile, mar a gheall na h-uachdarain dhoibh.

22 Agus ghairm Iosua orra, agus labhair e riu, ag ràdh, C'ar son a mheall sibh sinn, ag ràdh, *Tha* sinn ro-fhada uaibh, an uair a tha sibh a chomhnuidh 'nar measg?

23 A nis uime sin *tha* sibh mall-aichte, agus cha saorar neach air bith dhibh o bhi 'nar tràillibh, agus 'nar luchd-gearraidh fiodha, agus 'nar luchd-tarruing uisge air son tighe mo Dhé.

24 Agus fhreagair iad Iosua, agus thubhairt iad, Do bhrìgh gu'n d'innseadh gu cinnteach do d' sheirbhisich cionnus a dh'àithn an Tighearna do Dhia d'a òglach Maois am fearann uile a thoirt duibh, agus luchd-àiteachaidh na tìre uile a sgrios roimhibh, uime sin bha eagal mòr ar n-anma oirnn roimhibh, agus rinn sinn an ni so.

25 Agus a nis feuch, *tha* sinn a' d'làimh: mar a mheasar maith agus ceart leatsa a dheanamh ruinn, dean.

26 Agus mar so rinn e riu, agus shaor e iad as làimh chloinn Israeil; agus cha do mharbh siad iad.

27 Agus rinn Iosua iad san là sin féin nan luchd-gearraidh fiodha, agus nan luchd-tarruing uisge do'n choimhchruinneach, agus do altair an Tighearna, eadhon gus an la 'n diugh, anns an ionad a ròghnaicheadh e.

C A I B. X.

AGUS an uair a chual' Adonisedec righ Ierusaleim gu'n do ghlac Iosua Ai, agus gu'n do léir-sgrios se e (mar a rinn e ri Iericho agus r'a righ, mar sin *gu'n* d'rinn e ri h-Ai agus r'a righ) agus gu'n d'rinn luchd-àiteachaidh Ghibeoin sìth ri h-Israel, agus gu'n robh iad nam measg,

2 Ghabh iad eagal mòr, do bhrìgh gu'*m bu* bhaile mòr Gibeon, mar aon do na bailtibh rìoghail, agus do bhrìgh gu'*m bu* mhò e na Ai, agus *gu'n robh* a dhaoine uile treun.

3 Uime sin chuir Adonisedec righ Ierusaleim, *fios* gu Hoham righ Hebroin, agus gu Piram righ Iarmuit, agus gu Iaphia righ Lachis, agus gu Debir righ Egloin, ag ràdh,

4 Thigibh a nìos a m'ionnsuidh-sa, agus cuidichibh leam, a chum as gu'm buail sinn Gibeon: oir rinn e sìth ri Iosua, agus ri cloinn Israeil.

5 Uime sin chruinnich cùig righre nan Amorach, righ Ierusaleim, righ Hebroin, righ Iarmuit, righ Lachis, righ Egloin, iad féin an ceann a chéile, agus chaidh iad suas, iad féin agus an slòigh uile, agus champaich iad fa chomhair Ghibeoin, agus chog iad na aghaidh.

 6 Agus

[a] *caithrichean, bailte cuairtichte le balladh.* [b] *duarman, monmhor; murmur.* Sasg.

6 Agus chuir fir Ghibeoin *fios* gu Iosua, do'n champ gu Gilgal, ag ràdh, Na deanadh do làmh moille o d' sheirbhisich; thig a nìos d'ar n-ionnsuidh gu grad, agus saor sinn, agus cuidich leinn: oir tha righre nan Amorach uile a tha nan còmhnuidh sna beanntaibh, air cruinneachadh ri chéile 'nar n-aghaidh.

7 Agus chaidh Iosua suas o Ghilgal, e féin agus an sluagh cogaidh uile maille ris, agus na fir threuna uile.

8 Agus thubhairt an Tighearna ri Iosua, Na gabh eagal rompa; oir thug mise thairis do d' làimh iad: cha seas duine dhiubh romhad.

9 Uime sin thàinig Iosua orra gu h-obann: rè na h-oidhche chaidh e suas o Ghilgal.

10 Agus chlaoidh an Tighearn iad roimh Israel, agus mharbh [a] e iad le h-àr [b] mòr aig Gibeon, agus chuir e'n ruaig orra rathad uchdaich Bhet-horoin, agus bhuail e iad gu Hasecah, agus gu Macedah.

11 Agus an uair a bha iad a' teicheadh roimh Israel, *agus* iad air leathad Bhet-horoin, thilg an Tighearna clacha mòra orra nuas o nèamh gu Hasecah, agus fhuair iad bàs: *bu* lìonmhoire iadsan a bhàsaich leis na clacha-meallainn, na *iadsan* a mharbh clann Israeil leis a' chlaidheamh.

12 An sin labhair Iosua ris an Tighearna san là anns an d'thug an Tighearna suas na h-Amoraich roimh chloinn Israeil, agus thubhairt e 'm fianuis Israeil, A ghrian, air Gibeon stad, agus thusa a ghealach, air gleann Aialoin.

13 Agus stad a' ghrian, agus sheas a' ghealach, gus an do dhìol an sluagh iad féin air an naimhdibh. Nach *eil* so sgrìobhta ann an leabhar Iaseir? Agus stad a' ghrian am meadhon nèimh, agus cha d'rinn i cabhag gu dol fuidhe fau thimchioll la iomlain.

14 Agus cha robh *la sam bith* cosmhuil ris an la sin, roimhe no na dhéigh, anns an d'éisd an Tighearna ri guth duine: oir chog an Tighearna air son Israeil.

[15 Agus phill Iosua, agus Israel uile maille ris, do'n champ gu Gilgal.]

16 Ach theich na cùig righrean ud, agus dh'fholaich siad iad féin ann an uaimh ann am Macedah.

17 Agus dh'innseadh do Iosua, ag ràdh, Fhuaradh na cùig righre folaichte ann an uaimh ann am Macedah.

18 Agus thubhairt Iosua, Caruichibh clacha mòra air beul na h-uamha, agus cuiribh daoine làimh rithe g'an gleidheadh.

19 Agus na stadaibhse, *ach* rachaibh air tòir bhur naimhde, agus buailibh iadsan a's deireannaiche dhiubh, na leigibh leo dol a stigh d'am bailtibh; oir thug an Tighearna bhur Dia iad thairis d'ar làimh.

20 Agus an uair a chuir Iosua agus clann Israeil crìoch air am marbhadh le h-àr ro-mhòr gus an do chuireadh as doibh, chaidh a' chuid *a* mhair dhiubh a steach do na bailtibh daingnichte.

21 Agus phill an sluagh uile do'n champ gu Iosua aig Macedah ann an sìth: cha do ghluais neach a theanga an aghaidh duine sam bith do chloinn Israeil.

22 An sin thubhairt Iosua, Fosglaibh beul na h-uamha, agus thugaibh a mach a m' ionnsuidh na cùig righrean ud as an uaimh.

23 Agus rinn iad mar sin, agus thug iad a mach na cùig righrean ud d'a ionnsuidh as an uaimh, righ Ierusaleim, righ Hebroin, righ Iarmuit, righ Lachis, *agus* righ Egloin.

24 Agus an uair a thug iad a mach na righre sin gu Iosua, ghairm Iosua air fearaibh Israeil uile, agus thubhairt e ri ceannardaibh nam fear-cogaidh a chaidh maille ris, Thigibh am fagus, cuiribh bhur cosan air muinealaibh nan righ sin. Agus thàinig iad am fagus, agus chuir iad an cosan air am muinealaibh.

25 Agus thubhairt Iosua riu, Na biodh eagal oirbh agus na bithibh fuidh gheilt, bithibh làidir agus biodh deagh mhisneach agaibh; oir mar so ni 'n Tighearna r'ar naimhdibh uile ris am bheil sibh a' cogadh.

26 Agus an déigh sin bhuail Iosua iad, agus mharbh e iad, agus chroch e iad

[a] *bhuail.* [b] *marbhadh.*

iad air cùig crannaibh: agus bha iad an crochadh air na crannaibh gu feafgar.

27 Agus an àm dol fuidhe [a] na gréine dh'àithn Iofua, agus thug iad a nuas iad o na crannaibh, agus thilg fiad iad fan uaimh anns an d'fholaich fiad iad féin, agus chuir iad clacha mòra am beul na h-uamha, *a tha làthair* gus a' cheart la fo.

28 Agus air an là fin féin ghlac Iofua Macedah, agus bhuail fe e le faobhar a' chlaidheimh, agus a righ fgrios e gu tur, iadfan agus gach anam a bh' ann; cha d'fhàg e neach air bith beo: agus rinn e ri righ Mhacedah mar a rinn e ri righ Iericho.

29 An fin chaidh Iofua, agus Ifrael uile maille ris, thairis o Mhacedah gu Libnah, agus chog e 'n aghaidh Libnah.

30 Agus thug an Tighearna thairis e mar an ceudna, agus a righ, do làimh Ifraeil, agus bhuail fe e le faobhar a' chlaidheimh, agus na h-anman uile a *bha* ann: cha d'fhàg e neach air bith beo ann, ach rinn e r'a righ, mar a rinn e ri righ Iericho.

31 Agus chaidh Iofua, agus Ifrael uile maille ris, thairis o Libnah gu Lachis, agus champaich e na aghaidh, agus chog e na aghaidh.

32 Agus thug an Tighearna thairis Lachis do làimh Ifraeil, agus ghlac fe e air an dara là, agus bhuail fe e le faobhar a' chlaidheimh, agus gach anam a *bha* ann, a réir nan uile *nithe* a rinn e air Libnah.

33 An fin thàinig Horam righ Ghefeir a nìos a chuideachadh Lachis; agus bhuail Iofua e agus a fhluagh, gus nach d'fhàg e h-aon air bith beo aige.

34 Agus chaidh Iofua agus Ifrael uile maille ris, o Lachis gu h-Eglon, agus champaich iad na aghaidh, agus chog iad na aghaidh.

35 Agus ghlac iad e air an là fin féin, agus bhuail iad e le faobhar a' chlaidheimh, agus gach anam a *bha* ann fgrios e gu tur fan là fin, a réir nan uile *nithe* a rinn e ri Lachis.

36 Agus chaidh Iofua, agus Ifrael uile maille ris, fuas o Eglon gu Hebron, agus chog iad na aghaidh.

37 Agus ghlac iad e, agus bhuail iad e le faobhar a' chlaidheimh, agus a righ, agus a bhailtean uile, agus gach anam a *bha* ann: cha d'fhàg e h-aon air bith beo, (a réir nan uile *nithe* a rinn e ri h-Eglon) ach fgrios e gu tur e, agus gach anam a *bha* ann.

38 Agus phill Iofua, agus Ifrael uile maille ris, gu Debir, agus chog e na aghaidh.

39 Agus ghlac fe e, agus a righ, agus a bhailtean uile, agus bhuail fiad iad le faobhar a' chlaidheimh, agus léir-fgrios iad gach anam a *bha* ann; cha d'fhàg e h-aon air bith beo: mar a rinn e ri Hebron, mar fin rinn e ri Debir, agus r'a righ; agus mar a rinn e ri Libnah, agus r'a righ.

40 Agus bhuail Iofua tìr nam beann uile, agus na h-airde deas, agus a' chòmhnaird, agus nan tobar, agus an righrean uile: cha d'fhàg e h-aon air bith beo, ach léir-fgrios e gach neach anns an robh anail, mar a dh'àithn an Tighearna Dia Ifraeil.

41 Agus bhuail Iofua iad o Chadesbarnea gu ruig Gafa, agus tìr Ghofein uile gu ruig Gibeon.

42 Agus na righre fin uile, agus am fearann ghlac Iofua dh'aon tarruing [b], do bhrìgh gu'n do chog an Tighearna Dia Ifraeil air fon Ifraeil.

43 Agus phill Iofua, agus Ifrael uile maille ris, do'n champ gu Gilgal.

C A I B. XI.

AGUS an uair a chuala Iabin righ Hafoir *na nithe fin*, chuir e *fios* gu Iobab righ Mhadoin, agus gu righ Shimroin, agus gu righ Achfaiph,

2 Agus a dh'ionnfuidh nan righ a *bha* mu thuath anns na beanntaibh, agus anns a' chòmhnard mu dheas do Chinerot, agus anns a' ghleann, agus ann an crìochaibh Dhoir, air an làimh an iar;

3 *Agus a dh'ionnfuidh* a' Chanaanaich air an làimh an ear agus an làimh an iar, agus a dh'ionnfuidh an Amoraich, agus an Hitich, agus a' Pheridfich, agus an Iebufaich anns na beanntaibh,

[a] *fodba.*

[b] *fan aon àm.*

taibh, agus *a dh'ionnsuidh* an Hibhich
fuidh Hermon, ann an tìr Mhifpeh.
4 Agus chaidh iad a mach, iad féin
agus am feachd uile maille riu, sluagh
lìonmhor, eadhon mar an gaineamh a
ta air tràigh na fairge thaobh lìon-
mhoireachd, le h-eachaibh agus car-
badaibh ro-lìonmhor.
5 Agus an uair a bha na righre sin
uile air coinneachadh a chéile, thàinig
iad agus champaich iad cuideachd aig
uisgeachaibh Mheroim, a chogadh an
aghaidh Israeil.
6 Agus thubhairt an Tighearna ri
Iosua, Na biodh eagal ort rompa:
oir am màireach mu'n àm so bheir
mise suas iad uile marbh am fianuis
Israeil: gearraidh tu iosgaidean [a] an
each, agus loisgidh tu an carbadan le
teine.
7 Agus thàinig Iosua, agus an
sluagh cogaidh uile maille ris, orra
aig uisgeachaibh Mheroim gu h-obann,
agus bhuail iad orra.
8 Agus thug an Tighearna thairis
iad do làimh Israeil, a bhuail iad, agus
a chuir an ruaig orra gu Sidon mòr,
agus gu Misrephot-maim, agus gu
còmhnard Mhispeh air an làimh an
ear, agus bhuail siad iad, gus nach
d'fhàg iad aon diubh beo.
9 Agus rinn Iosua riu mar a dh'iarr
an Tighearna air: ghearr e iosgaid-
ean an each, agus loisg e 'n carbadan
le teine.
10 Agus phill Iosua san àm sin air
ais, agus ghlac e Hasor, agus bhuail
e a righ leis a' chlaidheamh: oir b'e
Hasor roimhe sin ceann nan rioghach-
da sin uile.
11 Agus bhuail iad na h-anman
uile a *bha* ann le faobhar a' chlaidh-
eimh, 'g *an* léir-sgrios: cha d'fhàgadh
aon anns an robh anail; agus loisg e
Hasor le teine.
12 Agus uile bhailte nan righ sin,
agus an righrean uile ghlac Iosua,
agus bhuail e iad le faobhar a' chlaidh-
eimh, *agus* sgrios e gu tur iad, mar a
dh'àithn Maois òglach an Tighearna.
13 Ach *a thaobh* nam bailte sin uile
a sheas a ghnàth nan neart [b], cha do
loisg Israel aon diubh sin, saor o Hasor
a mhàin; *sin* loisg Iosua.
14 Agus uile chreach nam bailte
sin, agus an spréidh, ghabh clann
Israeil mar chobhartach dhoibh féin:
ach bhuail iad gach duine le faobhar
a' chlaidheimh, gus an do chuir iad as
doibh; cha d'fhàg iad neach air bith
anns an robh anail.
15 Mar a dh'àithn an Tighearna
d'a òglach Maois, mar sin dh'àithn
Maois do Iosua, agus mar sin rinn
Iosua: cha d'fhàg e ni gun deanamh
do na h-uile a dh'àithn an Tighearna
do Mhaois.
16 Mar sin ghlac Iosua am fearann
sin uile, na sléibhte, agus an tìr mu
dheas uile, agus fearann Ghosein uile,
agus an gleann, agus an còmhnard,
agus sliabh Israeil, agus a ghleann:
17 O shliabh Halaic, a tha dol suas
gu Seir, eadhon gu Baal-gad ann an
gleann Lebanoin, fuidh shliabh Her-
moin: agus an righrean uile ghlac e,
agus bhuail e iad, agus mharbh e
iad.
18 Rè ùine fhada [c] rinn Iosua
cogadh ris na righribh sin uile.
19 Cha robh baile mòr [d] air bith a
rinn sith ri cloinn Israeil, saor o na
Hibhich luchd-àiteachaidh Ghibeoin;
càch uile ghlac iad ann an cath.
20 Oir b'ann o'n Tighearn a bha e
an cridheachan a chruadhachadh,
chum gu'n dthigeadh iad an aghaidh
Israeil ann an cath, a chum gu'n
sgriosadh e iad gu tur, *agus* nach biodh
iochd sam bith *air a nochdadh* dhoibh,
ach gu'n cuireadh e as doibh, mar a
dh'àithn an Tighearna do Mhaois.
21 Agus anns an àm sin thàinig
Iosua, agus ghearr e as na h-Anacaich [e]
o na sléibhtibh, o Hebron, o Dhebir,
o Anab, agus o bheanntaibh Iudah
uile, agus o bheanntaibh Israeil uile:
sgrios Iosua gu tur iad le'm bailtibh.
22 Cha d'fhàgadh aon do na
h-Anacaich ann am fearann chloinn
Israeil: a mhàin ann an Gasah, ann
an Gat, agus ann an Asdod, dh'fhàg-
adh iad.
23 Mar sin ghlac Iosua an tìr uile,
a réir

[a] *easgaidean.* [b] *a sheas air an dùn, air an cnoc.* Eabh. [c] *iomadh là.* Eabh. [d] *cathair, baile cuairtichte le balladh.* [e] *clann Anaic.*

a réir nan uile a thubhairt an Tighearna ri Maois, agus thug Iosua i mar oighreachd do chloinn Israeil, ann an earranaibh a réir an treubha. Agus fhuair an tìr fois o chogadh.

C A I B. XII.

ANIS *is* iad so righrean an fhearainn, a bhuail clann Israeil; agus shealbhaich iad am fearann air taobh eile Iordain leth ri éirigh na gréine, o shruth[a] Arnoin gu sliabh Hermoin, agus an còmhnard uile air an làimh an ear.

2 Sihon righ nan Amorach, a bha chòmhnuidh ann an Hesbon, *agus* a riaghlaich o Aroer, a *tha* air bruaich sruth Arnoin, agus *o* mheadhon an t-srutha, agus leth Ghilead eadhon gus an sruth Iaboc, crìoch chloinn Amoin:

3 Agus an còmhnard gu muir Chineroit a làimh na h-airde 'n ear, agus gu muir a' chòmhnaird, eadhon a' mhuir shalainn a làimh na h-airde 'n ear, an t-slighe gu Bet-iesimot; agus o'n airde deas, fuidh Asdot-pisgah.

4 Agus crìoch Og righ Bhasain, *a bha* dh' iarmad nam famhairean[b] a bha chòmhnuidh ann an Astarot, agus ann an Edrei,

5 Agus a rìoghaich ann an sliabh Hermoin, agus ann an Salcah, agus ann am Basan uile, gu crìch nan Gesurach agus nam Maachatach, agus leth Ghilead, crìoch Shihoin righ Hesboin.

6 Iadsan bhuail Maois òglach an Tighearn agus clann Israeil, agus thug Maois òglach an Tighearn e mar sheilbh do na Reubenich, agus do na Gadaich, agus do leth thréibh Mhanaseh.

7 Agus *is* iad so righre na tìre a bhuail Iosua agus clann Israeil air an taobh so do Iordan air an làimh an iar, o Bhaal-gad ann an gleann Lebanoin, eadhon gu sliabh Halaic, a tha doi suas gu Seir, a thug Iosua do threubhaibh Israeil mar sheilbh, a réir an roinnean:

8 Anns na beanntaibh, agus anns na gleanntaibh, agus anns na còmhnardaibh, agus anns na tobraichibh, agus anns an fhàsach, agus anns an tìr mu dheas: na Hitich, na h-Amoraich, agus na Canaanaich, na Perisich, na Hibhich, agus na Iebusaich.

9 Righ Ierichio, aon: righ Ai, a *tha* làimh ri Betel, aon:

10 Righ Ierusaleim, aon: righ Hebroin, aon:

11 Righ Iarmuit, aon: righ Lachis, aon:

12 Righ Egloin, aon: righ Ghefeir, aon:

13 Righ Dhebir, aon: righ Ghedeir, aon:

14 Righ Hormah, aon: righ Araid, aon:

15 Righ Libnah, aon: righ Adulaim, aon:

16 Righ Mhaccdah, aon: righ Bhet-eil, aon:

17 Righ Thapuah, aon: righ Hepheir, aon:

18 Righ Apheic, aon: righ Lasaroin, aon:

19 Righ Mhadoin, aon: righ Hasoir, aon:

20 Righ Shimron-meroin, aon: righ Achsaiph, aon:

21 Righ Thaanaich, aon: righ Mhegido, aon:

22 Righ Chedeis, aon: righ Iocneaim o Charmel, aon:

23 Righ Dhoir ann an crìch Dhoir, aon: righ chinneacha Ghilgail, aon:

24 Righ Thirsah, aon: na righrean uile, deich thar fhichead agus aon.

C A I B. XIII.

ANIS bha Iosua sean *agus* air teachd *air aghaidh* ann am bliadhnaibh[c]; agus thubhairt an Tighearna ris, Tha thusa sean *agus* air teachd *air t'aghaidh* am bliadhnaibh, agus tha fathast ro-mhòran fearainn r'a shealbhachadh.

2 *Is e* so am fearann *a tha* fathast a làthair: uile chrìocha nam Philisteach, agus Gesuri uile,

3 O Shihor, a *ta* fa chomhair na h-Eiphit, eadhon gu crìch Ecroin mu thuath, *a* mheasar do'n Chanaanach: cùig tighearnan nam Philisteach; na Gasataich,

[a] *abhuinn.* [b] *fomhairean, athach.* [c] *laithibh.* Eabh.

Gasataich, agus na h-Asdodaich, na h-Escalonaich, na Gitich, agus na h-Ecronaich, agus na Habhaich.

4 O'n taobh mu dheas, uile fhearann nan Canaanach, agus Mearah a *ta* làimh ris na Sidonaich, gu Aphec, gu crìch nan Amorach:

5 Agus fearann nan Gibleach, agus Lebanon uile leth ri èirigh na grèine, o Bhaal-gad fuidh shliabh Hermoin, gu ruig an dol a stigh do Hamat.

6 Uile luchd àiteachaidh nam beann o Lebanon gu Misrephot-maim, *agus* na Sidonaich uile, iadsan fograidh mi mach roimh chloinn Israeil: a mhàin roinn e le crannchur do na h-Israelich mar oighreachd, mar a dh'àithn mise dhuit.

7 A nis uime sin, roinn am fearann so mar oighreachd do na naoi treubhan, agus do leth-thrèibh Mhanaseh.

8 Maille ris *an leth-thrèibh eile* fhuair na Reubenich agus na Gadaich an oighreachd-san a thug Maois doibh, an taobh thall do Iordan a làimh na h-airde 'n ear, *eadhon* mar a thug Maois òglach an Tighearna dhoibh:

9 O Aroer a *ta* air bruaich sruth[a] Arnoin, agus am baile[b] a *tha* ann am meadhon an t-srutha, agus còmhnard Mhedebah uile gu Dibon:

10 Agus uile bhailte Shihoin, righ nan Amorach, a rìoghaich ann an Hesbon, gu crìch chloinn Amoin:

11 Agus Gilead, agus crìoch nan Gesurach, agus nam Maachatach, agus sliabh Hermoin uile, agus Basan uile gu Salcah:

12 Uile rìoghachd Og ann am Basan, a rìoghaich ann an Astarot agus ann an Edrei, a mhair do iarmad[c] nam famhairean: oir iad sin bhuail Maois, agus dh'fhògair e mach iad.

13 Gidheadh, cha d'fhògair clann Israeil a mach na Gesuraich, no na Maachataich: ach tha na Gesurich agus na Maachataich nan còmhnuidh am measg nan Israeleach gus an la'n diugh.

14 A mhàin do thrèibh Lebhi cha d'thug e oighreachd sam bith; *is* iad iobairtean an Tighearna Dé Israeil a bheirear suas le teine, an oighreachdsan, mar a thubhairt e riu.

15 Agus thug Maois do thrèibh chloinn Reubein *oighreachd* a rèir an teaghlaichean:

16 Agus bha 'n crìoch o Aroer a *ta* air bruaich sruth Arnoin, agus am baile a *tha* ann am meadhon an t-srutha, agus an còmhnard uile gu[d] Medebah:

17 Hesbon agus a bhailtean uile à *tha* sa' chòmhnard: Dibon, agus Bamot baal, agus Bet-baalmeon,

18 Agus Iahasa, agus Cedemot, agus Mephaat,

19 Agus Ciriataim, agus Sibmah, agus Saret-sahar ann an sliabh a' ghlinne.

20 Agus Bet-peor, agus Asdod-pisgah, agus Bet-iesimot,

21 Agus uile bhailtean a' chòmhnaird, agus uile rìoghachd Shihoin righ nan Amorach, a rìoghaich ann an Hesbon, a bhuail Maois maille ri ceannardaibh Mhidiain, Ebhi, agus Recem, agus Sur, agus Hur, agus Rebah, cinn-fheadhna Shihoin, a bha chòmhnuidh san tìr.

22 Balaam mar an ceudna, mac Bheoir, am fiosaiche[e] mharbh clann Israeil leis a' chlaidheamh nam measgsan a mharbhadh leo.

23 Agus b'i crìoch chloinn Reubein, Iordan agus *a* crìochsan. B'i sin oighreachd chloinn Reubein a rèir an teaghlaichean, na bailte mòra[f] agus am bailte beaga[g].

24 Agus thug Maois *oighreachd* do thrèibh Ghad, *eadhon* do chloinn Ghad a rèir an teaghlaichean.

25 Agus b'i an crìoch Iaser, agus uile bhailte Ghilead, agus leth fearainn chloinn Amoin, gu Aroer a *ta* fa chomhair Rabah:

26 Agus o Hesbon gu Ramat-mispeh, agus Betonim: agus o Mahanaim gu crìch Dhebir:

27 Agus anns a' ghleann, Betaram, agus Bet-nimrah, agus Sucot, agus Saphon, a' chuid eile do rìoghachd Shihoin righ Hesboin, Iordan agus *a* crìoch,

[a] *aibhne.* [b] *a' chathair.* [c] *fhuighe ll.* [d] *làimh ri.* [e] *fear-fàistineachd.* [f] *caithriche, bailte daingnichte.* [g] *frith-bhailte.*

crìoch, *eadhon* gu oir [a] fairge Chineret,
air taobh eile Iordain a làimh na
h-airde 'n ear.

28 B'*i* ſin oighreachd chloinn Ghad
a réir an teaghlaichean, na bailte mòra
agus am bailte beaga.

29 Agus thug Maois *oighreachd* do
leth thréibh Mhanaſeh: agus b'*i ſo*
ſealbh leth-thréibh chloinn Mhanaſeh,
a réir an teaghlaichean:

30 Agus bha 'n crìoch o Mhahan-
aim; Baſan uile, uile rìoghachd Og
rìgh Bhaſain, agus uile bhailte Iair, a
ta ann am Baſan, tri fichead baile
mòr:

31 Agus leth Ghilead, agus Aſtarot,
agus Edrei, bailte rìoghachd Og ann
am Baſan, *bhuin iad* do chloinn Mha-
chir mhic Mhanaſeh, *eadhon* do leth
chloinn Mhachir, a réir an teagh-
laichean.

32 *Is iad* ſin *na dùchanna* a roinn
Maois mar oighreachd ann an còmhn-
ardaibh Mhoaib, air an taobh eile do
Iordan làimh ri Iericho, air an taobh
an ear.

33 Ach do thréibh Lebhi cha
d'thug Maois oighreachd: *b'e* 'n
Tighearna Dia Iſraeil e féin an oigh-
reachd-ſan, mar a thubhairt e riu.

C A I B. XIV.

AGUS *is* iad ſo *na dùchanna* a
fhuair clann Iſraeil mar oigh-
reachd ann an tìr Chanaain, a roinn
Eleaſar an ſagart, agus Ioſua mac
Nuin, agus cinn-fheadhna aithriche
threubha chloinn Iſraeil mar oigh-
reachd dhoibh.

2 Le crannchur *bha* an oighreachd,
mar a dh'àithn an Tighearna le làimh
Mhaois, do na naoi treubhaibh agus
an leth-thréibh.

3 Oir bha Maois air tabhairt oigh-
reachd do dhà thréibh, agus do leth-
thréibh, air an taobh eile do Iordan:
ach do na Lebhithich cha d'thug e
oighreachd ſam bith nam meaſg.

4 Oir bha clann Ioſeph nan dà
thréibh, Manaſeh agus Ephraim:
uime ſin cha d'thug iad roinn ſam
bith do na Lebhithich ſan fhearann,
ſaor o bhailtibh gu còmhnuidh ghabh-
ail *annta*, maille r'am fearann comh-
roinn d'an ſpréidh, agus d'am maoin.

5 Mar a dh'àithn an Tighearna do
Mhaois, mar ſin rinn clann Iſraeil,
agus roinn iad am fearann.

6 An ſin thàinig clann Iudah gu
Ioſua ann an Gilgal; agus thubhairt
Caleb mac Iephuneh an Ceniſeach ris,
Tha fios agad air an ni a thubhairt an
Tighearna ri Maois òglach Dhé, a m'
thaobhs' agus a d' thaobh féin, ann an
Cades-barnea.

7 Dà fhichead bliadhna dh'aois *bha*
miſe 'nuair a chuir Maois òglach Dhé
mi o Chades-barnea, a rannſachadh a
mach an fhearainn; agus thug mi air
ais fios d'a ionnſuidh, mar *a bha e* ann
am chridhe.

8 Gidheadh, thug mo bhràithrean
a chaidh ſuas maille rium, air cridhe
an t-ſluaigh leaghadh: ach lean miſe
gu h-iomlan an Tighearna mo Dhia.

9 Agus mhionnaich Maois air an
là ſin, ag ràdh, Gu cinnteach bithidh
am fearann air an do ſhaltair do chos,
agad féin mar oighreachd, agus aig
do chloinn gu bràth; a cheann gu'n
do lean thu gu h-iomlan an Tigh-
earna mo Dhia.

10 Agus a nis feuch, ghléidh an
Tighearna mi beo, mar a thubhairt e,
na cùig agus an dà fhichead bliadhna
ſo, eadhon o labhair an Tighearn am
focal ſo ri Maois, am feadh a dh'imich
clann Iſraeil anns an fhàſach: agus a
nis feuch, *tha* mi 'n diugh ceithir
fichead agus cùig bliadhna dh'aois.

11 Fathaſt *tha* mi *co* làidir an diugh
as a *bha* mi ſan là anns an do chuir
Maois uaith mi: mar a *bha* mo neart
an ſin, mar ſin *tha* mo neart a nis,
chum cogaidh, agus a dhol a mach,
agus a theachd a ſteach.

12 A nis uime ſin thoir dhomh a'
bheinn ſo, mu'n do labhair an Tigh-
earna ſan là ud, (oir chuala tu ſan là
ud cionnus a *bha* na Hanacaich an ſin,
agus *gu'n robh* na bailte mòr agus
daingnichte) ma tharlas *gu'm bi* 'n
Tighearna leam, an ſin fògraidh mi
mach iad, mar a thubhairt an Tigh-
earna.

13 Agus bheannaich Ioſua e, agus
thug

[a] *foir.*

thug e do Chaleb mac Iephuneh, Hebron mar oighreachd.

14 Rinneadh uime sin Hebron na oighreachd do Chaleb, mac Iephuneh, an Ceniseach, gus an la 'n diugh; a cheann gu'n do lean e gu h-iomlan an Tighearna Dia Israeil.

15 Agus *b'e* ainm Hebroin roimhe Ciriat-arba: *bha'n t-Arba* so na dhuine mòr am measg nan Anacach. Agus bha fois aig an tìr o chogadh.

CAIB. XV.

B'E *so* uime sin crannchur tréibhe chloinn Iudah a réir an teaghlaichean, *eadhon* gu crìch Edoim, *gu* fàsach Shin ri deas o'n chuid a's fhaide mach do'n iomall dheas.

2 Agus bha n crìoch mu dheas o thràigh na mara salainn, *o* 'n chamus [a] a tha 'g amharc ri deas.

3 Agus chaidh i mach a dh'ionnsuidh an taoibh mu dheas gu h-uchdach [b] Acrabim, agus ghabh i air a h-aghaidh gu Sin, agus chaidh i suas air an taobh mu dheas gu Cadesbarnea, agus chaidh i air a h-aghaidh gu Hesron, agus chaidh i suas gu h-Adar, agus ghabh i mu'n cuairt gu Carcaa.

4 *Uaith sin* ghabh i dh'ionnsuidh Asmoin, agus chaidh i mach gu abhainn na h-Eiphit, agus bha dol a mach na crìche sin aig a' mhuir: bithidh so agaibh na crìch [c] mu dheas.

5 Agus *b'i* a' chrìoch an ear a' mhuir shalainn, *eadhon* gu ceann Iordain: agus *bha 'n* crìoch air an taobh mu thuath o chamus na mara, aig a' chuid a b'fhaide mach do Iordan.

6 Agus chaidh a' chrìoch suas gu Bet-hogla, agus ghabh i air a h-aghaidh air an taobh mu thuath do Bhetaraba, agus chaidh a' chrìoch suas gu cloich Bhohain mhic Reubein.

7 Agus chaidh a' chrìoch suas gu Debir o ghleann Achoir, agus ri tuath ag amharc ri Gilgal, a *ta* fa chomhair uchdaich Adumim, a *ta* air taobh deas na h-aibhne: agus chaidh a' chrìoch thairis gu uisgeachaibh En-semeis, agus bha a dol a mach aig En-rogel:

8 Agus chaidh a' chrìoch suas gu gleann mhic Hinoim, gu taobh deas an Iebusaich; (*is e* sin Ierusalem:) agus chaidh a' chrìoch suas gu mullach na beinne, a *tha* roimh ghleann Hinoim, air an làimh an iar, a *ta* aig ceann glinne nam famhairean ri tuath.

9 Agus thairngeadh [d] a' chrìoch o mhullach an t-sléibh gu tobar uisge Nephtoah, agus chaidh i mach gu bailtibh sléibh Ephroin, agus thairngeadh a' chrìoch gu Baalah; (*is e* sin Ciriat-iearim;)

10 Agus chaidh a' chrìoch mu 'n cuairt o Bhaalah air an làimh an iar gu sliabh Sheir, agus ghabh i thairis gu taobh sléibh Iearim (*is e* sin Chesalon) air an taobh mu thuath, agus chaidh i sios gu Bet-semes, agus ghabh i air a h-aghaidh gu Timnah:

11 Agus chaidh a' chrìoch a mach gu taobh Ecroin ri tuath; agus thairngeadh a' chrìoch gu Sicron, agus ghabh i thairis air sliabh Bhaalah, agus chaidh i mach gu Iabneel; agus bha dol a mach na crìche aig a' mhuir.

12 Agus *bha* a' chrìoch an iar gus an fhairge mhòir, agus *a h*-oirthir [e]: *b'i* sin crìoch chloinn Iudah mu'n cuairt, a réir an teaghlaichean.

13 Agus do Chaleb mac Iephuneh, thug e roinn am measg chloinn Iudah, a réir àithne an Tighearna do Iosua, *eadhon* baile Arbah athar Anaic: (*is e* sin Hebron.)

14 Agus dh'fhògair Caleb a mach as sin triùr mhac Anaic, Sesai, agus Ahiman, agus Talmai, clann Anaic.

15 Agus chaidh e suas o sin gu luchd-àiteachaidh Dhebir: agus *b'e* ainm Dhebir roimhe Ciriat-sepher.

16 Agus thubhairt Caleb, Esan a bhuaileas Ciriat-sepher, agus a ghlacas e, dhasan bheir mi Achsa mo nighean na mnaoi.

17 Agus ghlac Otniel, mac Chenais, bràthar Chaleib e; agus thug e dha Achsah a nighean na mnaoi.

18 Agus tharladh, 'nuair a thàinig i *d'a ionnsuidh*, gu 'n do bhrosnuich i e gu achadh iarraidh air a h-athair: agus

[a] *teanga.* Eabh. [b] *dìreadh; Maaleh.* Eabh. [c] *b'i so bu chrìoch dhoibh.* [d] *chombaraicheadh.* [e] *oirthir.*

agus theirinn i bhàrr *a b*-asail; agus
thubhairt Caleb rithe, Ciod *a b'àill*
leat?

19 Agus fhreagair ise, Thoir dhomh
beannachadh; oir thug thu dhomh
fearann mu dheas, thoir dhomh' mar
an ceudna tobair uisge: agus thug e
dhi na tobair uachdarach, agus na to-
bair ìochdarach.

20 *B'i* sin oighreachd tréibhe
chloinn Iudah, a réir an teaghlaich-
ean.

21 Agus b'iad na bailtean a b'fhaide
mach le tréibh chloinn Iudah, leth ri
crìch Edoim mu dheas, Cabseel, agus
Eder, agus Iagur,

22 Agus Cinah, agus Dimonah,
agus Adadah,

23 Agus Cedes, agus Hasor, agus
Itnan,

24 Siph, agus Telem, agus Bealot,

25 Agus Hasor, Hadatah, agus
Ceriot, *agus* Hesron, (*is e* sin Hasor)

26 Amam, agus Sema, agus Mol-
adah,

27 Agus Hasar-gadah, agus Hes-
mon, agus Bet-palet,

28 Agus Hasar-sual, agus Beerseba,
agus Bis-iotiah,

29 Baalah, agus Iim, agus Asem,

30 Agus Eltolad, agus Chesil, agus
Hormah,

31 Agus Siclag, agus Madmanah,
agus Sansanah,

32 Agus Lebaot, agus Silhim, agus
Ain, agus Rimon: *b'iad* na mor-
bhailtean [a] uile naoi thar fhichead,
maille r'am bailtibh beaga.

33 *Agus* anns a' chòmhnard, Estaol,
agus Soreah, agus Asnah,

34 Agus Sanoah, agus Enganim,
Tapuah, agus Enam,

35 Iarmut, agus Adulam, Sochoh,
agus Asecah,

36 Agus Saraim, agus Aditaim,
agus Gederah, agus Gederotaim;
ceithir mor-bhailte deug le'm bailtibh
beaga.

37 Senan, agus Hadasah, agus Mig-
dal-gad,

38 Agus Dilean, agus Mispeh, agus
Ioctéel,

39 Lachis, agus Boscat, agus Eg-
lon,

40 Agus Cabon, agus Lahmas, agus
Citlis,

41 Agus Gederot, Bet-dagon, agus
Naamah, agus Macedah; sè mòr-
bhailte deug le'm bailtibh beaga.

42 Libnah, agus Eter, agus Asan,

43 Agus Iiphtah, agus Asnah, agus
Nesib,

44 Agus Ceilah, agus Achsib, agus
Maresah; naoi bailte mòra le'm bail-
tibh beaga.

45 Ecron le 'bhailtibh a's mò [b],
agus a 'bhailtibh beaga.

46 O Ecron, eadhon gus an fhairge,
iadsan uile a *bha* làimh ri Asdod, le'm
bailtibh beaga.

47 Asdod le 'bhailtibh a's mò agus
a bhailtibh beaga, Gasah le 'bhailtibh
a's mo agus a bhailtibh beaga, gu
abhainn na h-Eiphit, agus an fhairge
mhòir, eadhon *a* crìoch.

48 Agus anns na beanntaibh, Samir,
agus Iatir, agus Socoh,

49 Agus Danah, agus Ciriatsanah,
(eadhon Debir)

50 Agus Anab, agus Estemoh,
agus Anim,

51 Agus Gosen, agus Holon, agus
Giloh; aon mhòr-bhaile deug, le'm
bailtibh beaga.

52 Arab, agus Dumah, agus Esean,

53 Agus Ianum, agus Bet-tapuah,
agus Aphecah,

54 Agus Humtah, agus Ciriat-
arbah, (*is e* sin Hebron) agus Sior;
naoi bailte mòra, le'm bailtibh beaga.

55 Maon, Carmel, agus Siph, agus
Iutah,

56 Agus Iesreel, agus Iocdeam,
agus Sanoah,

57 Cain, Gibeah, agus Timnah;
deich bailte mòra le'm bailtibh beaga.

58 Halhul, Bet-sur, agus Gedor,

59 Agus Maarat, agus Betanot,
agus Eltecon; sè bailte mòra le'm
bailtibh beaga.

60 Ciriat-baal, (*is e* sin Ciriat-iearim)
agus Rabah; dà bhaile mòr le'm bail-
tibh beaga.

61 San fhàsach, Bet-arabah, Midin,
agus Secacah,

62 Agus Nibsan, agus baile an
t-salainn [c], agus En-gedi; sè bailte
mòra le'm bailtibh beaga.

[a] *caithriche, bailte daingnichte.* [b] *a nigheana.* Eabh. [c] *Air-melc.* Eabh.

63 A thaobh nan Iebusach luchd-
àiteachaidh Ierusaleim, cha b'urrainn
clann Iudah am fògradh a mach: ach
tha na Iebusaich nan comhnuidh
maille ri cloinn Iudah ann an Ierusa-
lem gus an la 'n-diugh.

CAIB. XVI.

AGUS chaidh[a] crannchur chloinn
Ioseph a mach o Iordan làimh-
ri Iericho gu uisgeachaibh Iericho air
an làimh an ear, dh'ionnsuidh an fhàs-
aich a' dol suas o Iericho gu sliabh
Bheteil.

2 Agus tha e dol a mach o Bhetel
gu Lus, agus a' gabhail seachad gu
crìochaibh Archi gu Atarot,

3 Agus a' gabhail sìos a làimh na
h-airde 'n iar gu crìch Iaphleti, gu
crìch Bhet-horoin ìochdaraich, agus
gu Geser: agus tha a dhol a mach
aig an fhairge.

4 Mar sin ghabh clann Ioseph, Ma-
nasseh agus Ephraim, an oighreachd.

5 Agus bha crìoch chloinn Ephraim,
a réir an teaghlaichean, *mar so:* b'i
eadhon crìoch an oighreachd air an
làimh an ear Atarot-adar, gu Bet-
horon uachdarach.

6 Agus chaidh a' chrìoch a mach
a dh'ionnsuidh na fairge, gu Mich-
metah air an taobh mu thuath, agus
chaidh a' chrìoch mu 'n cuairt a
làimh na h-airde 'n ear gu Taanot-
siloh, agus ghabh i seachad air an
taobh an ear gu Ianohah:

7 Agus chaidh i sìos o Ianohah gu
Atarot, agus gu Naarat, agus thàinig
i gu Iericho, agus chaidh i mach aig
Iordan.

8 Chaidh a' chrìoch a mach o
Thapuah a làimh na h-airde 'n iar gu
sruth[b] Chanah: agus bha a dol a
mach aig an fhairge. *B'i* sin oigh-
reachd tréibhe chloinn Ephraim, a
réir an teaghlaichean.

9 Agus *bha* na bailtean mòra a
chuireadh air leth do chloinn Ephraim,
am measg oighreachd chloinn Mha-
nasseh, na bailtean mòra uile le'm
bailtibh beaga.

10 Agus cha d'fhògair iad a mach
na Canaanaich a bha chòmhnuidh
ann an Geser: ach tha na Canaan-
aich nan còmhnuidh am measg nan
Ephraimeach gus an la 'n diugh; agus
tha iad a' deanamh seirbhis dhoibh
fuidh chìs.

CAIB. XVII.

BHA mar an ceudna crannchur aig
tréibh Mhanasseh, (oir b'esan
ceud-ghin Ioseph) *eadhon* aig Machir
ceud-ghin Mhanasseh, athair Ghilead;
a chionn gu'm b'fhear cogaidh e:
uime sin bha Gilead agus Basan aige.

2 Bha mar an ceudna *crannchur* aig
a' chuid eile do chloinn Mhanasseh a
réir an teaghlaichean; aig cloinn
Abieseir, agus aig cloinn Heleic, agus
aig cloinn Asrieil, agus aig cloinn
Shecheim, agus aig cloinn Hepheir,
agus aig cloinn Shemida: *b'iad* sin
clann-mhac Mhanasseh, mhic Ioseph,
a réir an teaghlaichean.

3 Ach aig Selophehad mac He-
pheir, mhic Ghilead, mhic Mhachir,
mhic Mhanasseh, cha robh mic, ach
nigheana: agus *is* iad so ainmeanna a
nigheana, Mahlah, agus Noah, Hog-
lah, Milcah, agus Tirsah.

4 Agus thàinig iad am fagus an
làthair Eleasair an t-sagairt, agus an
làthair Iosua mhic Nuin, agus an là-
thair nan uachdaran, ag ràdh, Dh'àithn
an Tighearna do Mhaois oighreachd
a thoirt duinne am measg ar bràith-
rean: uime sin a réir àithne an Tigh-
earna, thug e dhoibh oighreachd am
measg bhràithrean an athar.

5 Agus thuit air Manasseh deich
cuibhrionna, thuilleadh air fearann
Ghilead, agus Bhasain, a *bh*'air an
taobh eile do Iordan;

6 A chionn gu'n robh aig nigh-
eana Mhanasseh oighreachd am measg
a chuid mac; agus bha fearann Ghil-
ead aig a' chuid eile do mhacaibh
Mhanasseh.

7 Agus bha crìoch Mhanasseh o
Aser gu Michmetah, a *tha* fa chomh-
air Shecheim, agus chaidh a' chrìoch
air a h-aghaidh air an làimh dheis gu
luchd àiteachaidh Entapuah.

8 *A nis* bha aig Manasseh fearann
Thapuah: ach Tapuah air crìch
Mhanasseh *bu* le cloinn Ephraim.

9 Agus chaidh a' chrìoch sìos gu
sruth

[a] *thuit.* [b] *abhainn.*

sruth [a] Chanah mu dheas do'n t-sruth: *bha* bailte sin Ephraim am measg bhailte Mhanaseh: *bha* mar an ceudna crìoch Mhanaseh air an taobh mu thuath do'n t-sruth, agus bha a dol a mach aig an fhairge.

10 An taobh mu dheas *bu* le Ephraim, agus an taobh mu thuath *bu* le Manaseh, agus b'i an fhairge a chrìoch, agus choinnich iad a chéile ann an Aser air an taobh mu thuath, agus ann an Isachar air an taobh an ear.

11 Agus bha aig Manaseh ann an Isachar agus ann an Aser, Bet-sean agus a bhailtean, agus Ibleam agus a bhailtean, agus luchd-àiteachaidh Dhoir agus a bhailtean, agus luchd-àiteachaidh Endoir agus a bhailtean, agus luchd-àiteachaidh Thaanaich agus a bhailtean, agus luchd-àiteachaidh Mhegido agus a bhailtean; *eadhon* tri dùchanna.

12 Gidheadh cha b'urrainn clann Mhanaseh *luchd-àiteachaidh* nam bailte sin fhògradh a mach, ach b'àill leis na Canaanaich còmhnuidh ghabhail san tìr sin.

13 Gidheadh tharladh 'nuair a dh'fhàs clann Israeil làidir, gu'n do chuir iad na Canaanaich fuidh chìs; ach cha d'fhògair iad gu tur a mach iad.

14 Agus labhair clann Ioseph ri Iosua, ag ràdh, C'ar son nach d'thug thu dhomhsa ach aon chrannchur agus aon chuibhrionn r'an sealbhachadh, agus gur sluagh mòr mi, agus gu'n do bheannaich an Tighearna mi gus a so.

15 Agus fhreagair Iosua iad, Ma's sluagh mòr thu, imich suas do'n choilltich, agus gearr sìos [b] dhuit féin *àit* an sin ann am fearann nam Periseach, agus nam famhairean, ma tha sliabh Ephraim ro chumhaing duit.

16 Agus thubhairt clann Ioseph, Cha leòr an sliabh dhuinne: agus tha aig na Canaanaich uile a tha chòmhnuidh ann am fearann a' ghlinne, carbadan iaruinn, *an dà chuid* aca-san a *tha* ann am Bet-sean agus na bhailtibh, agus aca-san a tha ann an gleann Iesreeil.

17 Agus labhair Iosua ri tigh Ioseph, ri h-Ephraim, agus ri Manaseh, ag ràdh, *Is* sluagh mòr thu, agus tha cumhachd mòr agad; cha bhi agad aon chrannchur *a mhàin*.

18 Ach bithidh an sliabh agadsa, oir is coille e; agus gearraidh tu sìos i: agus bithidh a dhol a mach agad: oir fògraidh tu mach na Canaanaich, ge do tha carbadan iaruinn aca, *agus* ge do tha iad làidir.

C A I B. XVIII.

AGUS chruinnich coimhthional chloinn Israeil uile an ceann a chéile aig Siloh, agus chuir iad suas pàilliun a' choimhthionail an sin, agus cheannsaicheadh an tìr rompa.

2 Agus bha fathast am measg chloinn Israeil seachd treubha, nach d'fhuair an oighreachd.

3 Agus thubhairt Iosua ri cloinn Israeil, Cia fhad *a tha* sibh mall a dhol a shealbhachadh an fhearuinn, a thug an Tighearna Dia bhur n-aithriche dhuibh?

4 Thugaibh a mach *dhomhsa* as bhur measg triùir dhaoine as *gach* treibh: agus cuiridh mi uam iad, agus éiridh iad, agus théid iad tre'n fhearann, agus tairngidh [c] iad e a réir an oighreachd-san, agus thig iad a m' ionnsuidhs' *a rìs*.

5 Agus roinnidh iad e na sheachd earrannaibh: fanaidh Iudah na chrìch féin air an taobh mu dheas, agus fanaidh tigh Ioseph na chrìch féin air an taobh mu thuath.

6 Uime sin tairngidh sibh am fearann na sheachd earrannaibh, agus bheir sibh *an tarruing* [d] an so a m' ionnsuidhse, chum gu'n tilg mi croinn air bhur son an so an làthair an Tighearn ar Dé.

7 Ach cha 'n'eil aig na Lebhithich roinn sam bith 'nar measg, oir is i sagartachd an Tighearn an oighreachd-san: agus fhuair Gad, agus Reuben, agus leth thréibh Mhanaseh, an oighreachd-san an taobh thall do Iordan air an làimh an ear, a thug Maois òglach an Tighearna dhoibh.

8 Agus dh'éirich na daoine, agus dh'fhalbh iad, agus dh'àithn Iosua dhoibhsan

[a] *abhainn.* [b] *réitich.* [c] *Sgrìobhaidh* no *tombaraichidh iad sìos.*
[d] an samhladh, an coslas.

dhoibhsan a chaidh a tharruing an fhearainn, ag ràdh, Imichibh, agus rachaibh tre'n fhearann, agus tairngibh e, agus thigibh a ris a m' ionnsuidhse, chum gu'n tilg mi an so croinn air bhur son an làthair an Tighearn ann an Siloh.

9 Agus dh'imich na daoine, agus chaidh iad tre'n fhearann, agus tharruing iad e a réir *a* bhailte, na sheachd earrannaibh, ann an leabhar, agus thàinig iad gu Iosua do'n champ aig Siloh.

10 Agus thilg Iosua croinn air an son ann an Siloh, an làthair an Tighearna: agus an sin roinn Iosua am fearann do chloinn Israeil a réir an roinnean.

11 Agus thàinig crannchur tréibhe chloinn Bheniamin a mach a réir an teaghlaichean: agus chaidh crìoch an crannchuir a mach eadar clann Iudah agus clann Ioseph.

12 Agus bha 'n crìoch air an taobh mu thuath o Iordan, agus chaidh a' chrìoch suas gu taobh Iericho air an taobh mu thuath, agus chaidh i suas tre'n mhonadh a làimh na h-airde 'n iar, agus bha a dol a mach aig fàsach Bhet-abhen.

13 Agus chaidh a' chrìoch thairis o sin gu Lus, gu taobh Luis (*is e* sin Betel) ri deas, agus chaidh a' chrìoch sìos gu Atarot-adar, am fagus do'n t-sliabh a *tha* air an taobh dheas do Bhet-horon ìochdarach.

14 Agus thairngeadh a' chrìoch *o sin*, agus chuairtich i oisinn na mara ri deas, o'n t-sliabh a *tha* fa chomhair Bhet-horoin ri deas: agus bha a dol a mach aig Ciriat-baal, (*is e* sin Ciriat-iearim) baile le cloinn Iudah: *b'i* sin a' chearna an iar.

15 Agus *bha* a' chearna mu dheas o cheann Chiriat-iearim, agus chaidh a' chrìoch a mach air an làimh an iar, agus ghabh i mach gu tobar uisgeacha Nephtoah.

16 Agus chaidh a' chrìoch sìos gu ceann na beinne, a *tha* fa chomhair glinne mhic Hinoim, a *tha* ann an gleann nam famhairean air an taobh mu thuath, agus chaidh i sìos gu gleann Hinoim, gu taobh Iebusi air an *làimh* dheis, agus ghabh i sìos gu En-rogel.

17 Agus thairngeadh i o'n taobh mu thuath, agus ghabh i air a h-aghaidh gu En-semes, agus chaidh i mach a dh'ionnsuidh Ghelilot, *a ta* thall fa chomhair uchdaich Adumim, agus ghabh i sìos gu cloich Bhohain mhic Reubein.

18 Agus ghabh i air a h-aghaidh chum na taoibh thall fa chomhair Arabah mu thuath, agus chaidh i sìos gu Arabah.

19 Agus ghabh a' chrìoch thairis gu taobh Bhet-hoglah mu thuath: agus bha dol a mach na crìche aig a' chamus mu thuath do'n mhuir shalainn, aig ceann Iordain mu dheas: *b'i* sin a' chrìoch mu dheas.

20 Agus b'e Iordan a chrìoch air an làimh an ear. B'i sin oighreachd chloinn Bheniamin, le a crìochaibh mu'n cuairt, a réir an teaghlaichean.

21 A nis b'iad bailtean mòra a tréibhe chloinn Bheniamin a réir an teaghlaichean, Iericho, agus Bet-hoglah, agus gleann Chesis,

22 Agus Bet-arabah, agus Semaraim, agus Betel,

23 Agus Abhim, agus Parah, agus Ophrah,

24 Agus Chephar-haamonai, agus Ophni, agus Gabah; dà mhòr-bhaile dheug le'm bailtibh beaga.

25 Gibeon, agus Ramah, agus Beerot,

26 Agus Mispeh, agus Chephirah, agus Mosah,

27 Agus Rechem, agus Irpeel, agus Taralah,

28 Agus Selah, Eleph, agus Iebus, (*is e* sin Ierusalem:) Gibeat, *agus* Ciriat; ceithir mòr-bhailte deug le'm bailtibh beaga. *B'i* sin oighreachd chloinn Bheniamin a réir an teaghlaichean.

CAIB. XIX.

AGUS thàinig an dara crannchur a mach do Shimeon, *eadhon* do thréibh chloinn Shimeoin, a réir an teaghlaichean: agus bha 'n oighreachd

caithriche.

reachd-san am meadhon oighreachd
chloinn Iudah.
2 Agus bha aca nan oighreachd,
Beer-sebah, agus Sebah, agus Mo-
ladah,
3 Agus Hasar-sual, agus Balah,
agus Atem,
4 Agus Eltolad, agus Betul, agus
Hormah,
5 Agus Siclag, agus Betmarcabot,
agus Hasar-susah,
6 Agus Bet-lebaot, agus Saruhen;
tri mòr-bhailte deug agus am bailte
beaga.
7 Ain, Remon, agus Eter, agus
Asan; ceithir bailte mòra le 'm bailt-
ibh beaga.
8 Agus na bailtean beaga uile *a
bha* mu thimchioll nam bailte mòra
sin, gu Balat-beer, Ramat mu dheas.
B'i sin oighreachd tréibhe chloinn
Shimeoin a réir an teaghlaichean.
9 A mach a crannchur chloinn
Iudah *bha* oighreachd chloinn Shime-
oin: oir bha cuibhrionn chloinn Iudah
ro-mhòr dhoibh: uime sin bha aig
cloinn Shimeoin an oighreachd ann
am meadhon an oighreachd-san.
10 Agus thàinig an treas crannchur
a mach air son chloinn Shebuluin, a
réir an teaghlaichean: agus bha
crìoch an oighreachd-san gu Sarid.
11 Agus chaidh an crìoch suas a
dh'ionnsuidh na fairge, agus Maralah,
agus ràinig i gu Dabaset, agus ràinig
i gu ruig an sruth a tha fa chomhair
Iocneaim,
12 Agus phill i o Shared a làimh
na h-àirde 'n ear, leth ri éirigh na
gréine, gu crìch Chislot-taboir: agus
an sin tha i dol a mach gu Daberat,
agus a' dol suas gu Iaphia,
13 Agus o sin a' gabhail thairis air
an làimh an ear gu Gitah-hepher, gu
Itah-casin, agus a' dol a mach gu
Remon-metoar gu Neah.
14 Agus tha a' chrìoch a' dol mu'n
cuairt mu thuath gu Hanaton: agus
tha a dol a mach ann an gleann Iiph-
tah-el,
15 Agus Catat, agus Nahalal, agus
Simron, agus Idalah, agus Bet-lehem;
dà mhòr-bhaile dheug le'm bailtibh
beaga.
16 *B'i* sin oighreachd chloinn She-
buluin, a réir an teaghlaichean, na
bailte mòra sin le'm bailtibh beaga.
17 Thàinig an ceathramh crann-
chur a mach do Isachar, air son chloinn
Isachair, a rèir an teaghlaichean.
18 Agus b'i an crìoch Iesreel, agus
Chesulot, agus Sunem,
19 Agus Hapharaim, agus Sihon,
agus Anaharat,
20 Agus Rabit, agus Cision, agus
Abes,
21 Agus Remet, agus Enganim,
agus En-hadah, agus Bet-pases;
22 Agus tha a' chrìoch a' ruigh-
eachd gu Tabor, agus Sahasimah, agus
Bet-semes, agus bha dol a mach an
crìche aig Iordan; sè mòr-bhailte
deug le'm bailtibh beaga.
23 *B'i* sin oighreachd tréibhe
chloinn Isachair a réir an teaghlaiche,
na bailte mòra agus am bailte beaga.
24 Agus thàinig an cùigeamh
crannchur a mach do thréibh chloinn
Aseir, a réir an teaghlaiche.
25 Agus b'i an crìoch Helcat, agus
Hali, agus Beten, agus Achsaph,
26 Agus Alamelech, agus Amad,
agus Miseal; agus tha i a' ruigh-
eachd gu Carmel air an làimh an iar,
agus gu Sihor-libnat,
27 Agus a' pilltinn leth ri éirigh
na gréine gu Bet-dagon, agus a' ruigh-
eachd gu Sebulun, agus gu gleann
Iiphtah-el, leth ris an taobh mu thuath
do Bhetemec, agus Neiel, agus a' dol
a mach gu Cabul air an làimh chlì,
28 Agus Hebron, agus Rehob, agus
Hamon, agus Canah, *eadhon* gu Sidon
mòr:
29 Agus *an sin* tha chrìoch a' pill-
tinn gu Ramah, agus gus am mòr-
bhaile daingnichte [a] Tirus, agus tha
a' chrìoch a' pilltinn gu Hosah: agus
tha a dol a mach aig an fhairge o'n
oirthir [b] gu Achsib.
30 Umah mar an ceudna, agus
Aphec, agus Rehob; dà mhòr-bhaile
thar fhichead le 'm bailtibh beaga.
31 *Is i* sin oighreachd tréibhe chloinn
Aseir, a réir an teaghlaiche, na bailte
mòra sin le 'm bailtibh beaga.
32 Thàinig an seathadh crann-
chur a mach do chloinn Naphtali,

[a] *chathair làidir.* [b] *oirthir.*

eadhon do chloinn Naphtali, a reir an teaghlaiche.

33 Agus bha 'n crìoch o Heleph, o Alon gu Sahananim, agus Adami, Neceb, agus Iabneel, gu Lacum: agus bha a dol a mach gu Iordan.

34 Agus *an sin* tha a' chrìoch a' pilltinn an iar gu Asnot-tabor, agus a' dol a mach o sin gu Hucoc, agus *tha i* a' ruigheachd gu Sebulun air an taobh mu dheas, agus a' ruigheachd gu Aser air an taobh an iar, agus gu bruachaibh Iordain[a] leth ri éirigh na gréine.

35 Agus *is iad* na mòr-bhailte daingnichte Sidim, Ser, agus Hamat, Racat, agus Cineret,

36 Agus Adamah, agus Ramah, agus Hasor,

37 Agus Cedes, agus Edrei, agus En-hasor,

38 Agus Iron, agus Migdalel, Horem, agus Bet-hanat, agus Bet-semes; naoi mòr-bhailte deug le'm bailtibh beaga.

39 *Is i* sin oighreachd tréibhe chloinn Naphtali a réir an teaghlaichean, na bailte mòra agus am bailte beaga.

40 *Agus* thàinig an seachdamh crannchur a mach do thréibh chloinn Dhain, a réir an teaghlaichean.

41 Agus b'i crìoch an oighreachd Sorah, agus Estaol, agus Ir-semes,

42 Agus Saalabin, agus Aialon, agus Ietlah,

43 Agus Elon, agus Timnatah, agus Ecron,

44 Agus Elteceh, agus Gibeton, agus Baalat,

45 Agus Iehud, agus Beneberac, agus Gat-rimon,

46 Agus Me-iarcon, agus Racon, maille ris a' chrìch fa chomhair Iapho.

47 Agus chaidh crìoch chloinn Dhain a mach *ro-ghann* doibh: uime sin chaidh clann Dhain suas agus chog iad an aghaidh Lesem, agus ghlac iad e, agus bhuail iad e le faobhar a' chlaidheimh, agus shealbhaich iad e, agus ghabh iad còmhnuidh ann, agus thug iad Dan a dh'ainm air Lesem, a réir ainme an athar Dan.

48 *Is i* sin oighreachd tréibhe chloinn Dhain a réir an teaghlaichean, na bailte mòra sin le'm bailtibh beaga.

49 'Nuair a chuir iad crìoch air an fhearann a roinn mar oighreachd a réir an crìocha, thug clann Israeil oighreachd do Iosua mac Nuin, nam measg:

50 A réir focail an Tighearna, thug iad da am baile a dh'iarr e, *eadhon* Timnat-serah ann an sliabh Ephraim, agus thog e am baile, agus ghabh e còmhnuidh ann.

51 *Is iad* sin na h-oighreachdan a roinn Eleasar an sagart, agus Iosua mac Nuin, agus cinn aithriche threubha chloinn Israeil, mar oighreachd le crannchur, ann an Siloh an làthair an Tighearna, aig dorus pàilliuin a' choimhthionail: mar sin chuir iad crìoch air an fhearann a roinn.

CAIB. XX.

AGUS labhair an Tighearna ri Iosua, ag ràdh,

2 Labhair ri cloinn Israeil, ag ràdh, Sònraichibh dhuibh féin bailte dìdein, mu'n do labhair mi ribh le làimh Mhaois:

3 A chum as gu'n teich am marbhaiche a mharbhas neach ann an aineolas *agus* gun fhios da, an sin: agus bithidh iad nan dìdein duibh o dhìoghaltair na fola.

4 Agus an uair a sheasas esan a theicheas a dh'ionnsuidh aoin do na bailtibh sin, aig dol a stigh geataidh a' bhaile, agus a chuireas e a chùis an céill ann an cluasaibh sheanairean a' bhaile sin; gabhaidh iad a steach e do'n bhaile d'an ionnsuidh, agus bheir iad àite dha chum gu'n gabh e còmhnuidh nam measg.

5 Agus an uair a théid dìoghaltair na fola an tòir air, an sin cha dthoir iad suas am marbhaiche d'a làimh; a cheann gu'n do bhuail e 'choimhearsnach gun fhios da, agus gun fhuath aige dha san aimsir roimhe sin.

6 Agus gabhaidh e còmhnuidh sa' bhaile sin, gus an seas e an làthair a' choimhchruinnich chum breitheanais,

[a] *gu Iudah air Iordan.*

agus gu bàs an ard-shagairt a bhios
anns na laithibh sin: an sin pillidh am
marbhaiche, agus thig e d'a bhaile
féin, agus d'a thigh féin, do'n bhaile
o'n do theich e.

7 Agus chuir iad air leth Cedes
ann an Galilee ann an sliabh Naph-
tali, agus Sechem ann an sliabh Eph-
raim, agus Ciriat-arba (eadhon He-
bron) ann an sliabh Iudah.

8 Agus air taobh eile Iordain
làimh ri Iericho air an làimh an ear,
shònruich iad Beser anns an fhàsach
air a' chòmhnard a tréibh Reubein,
agus Ramot ann an Gilead a tréibh
Ghad, agus Golan ann am Basan a
tréibh Mhanaseh.

9 B'iad sin na bailtean a shònraich-
eadh air son chloinn Israeil uile, agus
air son a' choigrich a tha air chuairt
nam measg, a chum as ge b'e mharbh-
adh neach ann an aineolas, gu'n teich-
eadh e an sin, agus nach bàsaicheadh
e le làimh dìoghaltair na fola, gus
an seasadh e an làthair a' choimh-
chruinnich.

CAIB XXI.

AN sin thàinig cinn aithriche nan
Lebhitheach am fagus do Elea-
sar an sagart, agus do Iosua mac
Nuin, agus do cheannaibh aithreacha
threubha chloinn Israeil.

2 Agus labhair iad riu aig Siloh ann
an tìr Chanaain, ag ràdh, Dh'àithn
an Tighearna le làimh Mhaois, bailt-
ean a thoirt duinn gu còmhnuidh
ghabhail annta, le'm fearann comh-
roinn d'ar spréidh.

3 Agus thug clann Israeil do na
Lebhithich as an oighreachd air
àithne an Tighearna, na bailte so
agus am fearann comh-roinn.

4 Agus thàinig an crannchur a
mach air son theaghlaichean nan Co-
hatach; agus bha aig cloinn Aaroin
an t-sagairt, *a bha* do na Lebhithich,
le crannchur a tréibh Iudah, agus a
tréibh Shimeoin, agus a tréibh Bhe-
niamin, tri bailte deug.

5 Agus *bha* aig a' chuid eile do
chloinn Chohait le crannchur, a
teaghlaichibh thréibh Ephraim, agus
a tréibh Dhain, agus a leth-thréibh
Mhanaseh, deich bailte.

6 Agus *bha* aig cloinn Ghersoin le
crannchur a teaghlaichibh thréibh
Isachair, agus a tréibh Aseir, agus a
tréibh Naphtali, agus a leth-thréibh
Mhanaseh ann am Basan, tri bailte
deug.

7 *Bha* aig cloinn Mherari a réir an
teaghlaichean, a tréibh Reubein, agus
a tréibh Ghad, agus a tréibh Shebu-
luin, dà bhaile dheug.

8 Agus thug clann Israeil le crann-
chur do na Lebhithich na bailte sin
le'm fearann comh-roinn, mar a
dh'àithn an Tighearn le làimh
Mhaois.

9 Agus thug iad a mach a tréibh
chloinn Iudah, agus a tréibh chloinn
Shimeoin, na bailte so a tha air an
ainmeachadh,

10 A bha aig cloinn Aaroin do
theaghlaichibh nan Cohatach, *muinn-
tir a* bha do chloinn Lebhi: (oir bu
leo-san an ceud chrannchur.)

11 Agus thug iad dhoibh mòr-
bhaile Arba, athar Anaic, (eadhon
Hebron) ann an sliabh Iudah, maille
r'a fhearann comh-roinn mu'n cuairt
air.

12 Ach fearann a' mhòr-bhaile, a-
gus a bhailte beaga, thug iad do Cha-
leb mac Iephuneh mar a sheilbh.

13 Mar so thug iad do chloinn
Aaroin an t-sagairt, Hebron maille
r'a fhearann comh-roinn, *gu bhi* na
bhaile dìdein do'n mharbhaiche, agus
Libnah le 'fhearann comh-roinn,

14 Agus Iatir le 'fhearann comh-
roinn, agus Estemoah le 'fhearann
comh-roinn,

15 Agus Holon le 'fhearann comh-
roinn, agus Debir le 'fhearann comh-
roinn,

16 Agus Ain le 'fhearann comh-
roinn, agus Iutah le 'fhearann comh-
roinn, agus Betsemes le 'fhearann
comh-roinn: naoi bailte as an dà
thréibh sin.

17 Agus a tréibh Bheniamin, Gi-
beon le 'fhearann comh-roinn, Gebah
le 'fhearann comh-roinn,

18 Anatot le 'fhearann comh-roinn,
agus Almon le 'fhearann comh-roinn;
ceithir bailte.

19 *B'iad* uile bhailte chloinn Aa-
roin nan sagart, tri bailte deug le'm
fearann comh-roinn.

20 Agus bha aig teaghlaichibh
chloinn

chloinn Chohait, na Lebhithich, a mhair do chloinn Chohait, eadhon acasan, bailtean an crannchuir a tréibh Ephraim.

21 Oir thug iad dhoibh Sechem le 'fhearann comh-roinn ann an sliabh Ephraim, *gu bhi* na bhaile didein do'n mharbhaiche; agus Gefer le 'fhearann comh-roinn,

22 Agus Cibfaim le 'fhearann comh-roinn, agus Bet-horon le 'fhearann comh-roinn: ceithir bailte.

23 Agus a tréibh Dhain, Eltecch le 'fhearann comh-roinn, Gibeton le 'fhearann comh-roinn,

24 Aialon le 'fhearann comh-roinn, Gat-rimon le 'fhearann comh-roinn: ceithir bailte.

25 Agus a leth-thréibh Mhanafeh, Taanach le 'fhearann comh-roinn, agus Gat-rimon le 'fhearann comh-roinn: dà bhaile.

26 *B'iad* na bailtean uile le'm fearann comh-roinn deich, air son theaghlaichean chloinn Chohait a mhair *gun an-oigbreachd fhagbhail* [a].

27 Agus do chloinn Ghersoin do theaghlaichibh nan Lebhitheach, a leth *eile* thréibh Mhanafeh, *thug iad* Golan ann am Bafan le 'fhearann comh-roinn, *gu bhi* na bhaile didein do'n mharbhaiche, agus Bees-terah le 'fhearann comh-roinn: dà bhaile.

28 Agus a tréibh Isachair, Cifon le 'fhearann comh-roinn, Dabareh le 'fhearann comh-roinn,

29 Iarmut le 'fhearann comh-roinn, En-ganim le 'fhearann comh-roinn: ceithir bailte.

30 Agus a tréibh Afeir, Mifal le 'fhearann comh-roinn, Abdon le 'fhearann comh-roinn,

31 Helcat le 'fhearann comh-roinn, agus Rehob le 'fhearann comh-roinn: ceithir bailte.

32 Agus a tréibh Naphtali, Cedes ann an Galilee le 'fhearann comh-roinn, *gu bhi* na bhaile didein do'n mharbhaiche: agus Hamot-dor le 'fhearann comh-roinn, agus Cartan le 'fhearann comh-roinn: tri bailte.

33 *B'iad* uile bhailte nan Gersonach, a réir an teaghlaichean, tri bailte deug le'm fearann comh-roinn.

34 Agus do theaghlaichibh chloinn Mherari a' chuid eile do na Lebhithich, a tréibh Shebuluin, Iocneam le 'fhearann comh-roinn, agus Cartah le 'fhearann comh-roinn,

35 Dimnah le 'fhearann comh-roinn, Nahalal le 'fhearann comh-roinn: ceithir bailte.

36 Agus a tréibh Reubein, Befer le 'fhearann comh-roinn, agus Iahafah le 'fhearann comh-roinn,

37 Cedemot le 'fhearann comh-roinn, agus Mephaat le fhearann comh-roinn: ceithir bailte.

38 Agus a tréibh Ghad, Ramot ann an Gilead le 'fhearann comh-roinn, *gu bhi* na bhaile didein do'n mharbhaiche: agus Mahanaim le 'fhearann comh-roinn,

39 Hefbon le 'fhearann comh-roinn, Iafer le 'fhearann comh-roinn: ceithir bailte fan iomlan.

40 Mar sin b'iad na bailtean uile air son chloinn Mherari, a réir an teaghlaichean, a mhair do theaghlaichibh nan Lebhitheach, a réir an crannchuir, dà bhaile dheug.

41 *B'iad* uile bhailtean nan Lebhitheach, an taobh a stigh do shealbh chloinn Israeil, ochd bailte agus dà fhichead le'm fearann comh-roinn.

42 Bha na bailte sin gach aon le'm fearann comh-roinn mu'n timchioll: mar so *bha* na bailte sin uile.

43 Agus thug an Tighearna do Israel am fearann uile a mhionnaich e thoirt d'an aithrichibh: agus shealbhaich iad e, agus ghabh iad còmhnuidh ann.

44 Agus thug an Tighearna dhoibh fois mu'n cuairt, a réir nan uile *nithe* a mhionnaich e d'an aithrichibh: agus cha do sheas duine d'an naimhdibh uile rompa; an naimhdean uile thug an Tighearna thairis d'an làimh.

45 Cha d'fhàilnich [b] a' bheag do gach ni maith a labhair an Tighearna ri tigh Israeil: thàinig an t-iomlan gu crìch.

C A I B. XXII.

AN sin ghairm Iosua na Reubenich, agus na Gadaich, agus leth-thréibh Mhanafeh,

2 Agus

[a] fhaotainn.

[b] *do thuit.* Eabh.

2 Agus thubhairt e riu, Ghléidh
sibh na h-uile *nithe* a dh'àithn Maois
òglach an Tighearna dhuibh, agus
thug sibh géill do m' ghuth-sa anns
na h-uile *nithibh* a dh'àithn mi
dhuibh.

3 Cha d'fhàg sibh bhur bràithre
rè mhòrain do laithibh gus an la'n
diugh, ach ghléidh sibh cùram àithne
an Tighearna bhur Dé.

4 Agus a nis thug an Tighearna
bhur Dia fois d'ar bràithribh, mar a
gheall e dhoibh: a nis uime sin pill-
ibh, agus rachaibh d'ar pàilliunaibh,
agus gu fearann bhur seilbhe, a thug
Maois òglach an Tighearna dhuibh
air an taobh thall do Iordan.

5 Ach thugaibh ro-aire gu'n coimh-
lion[a] sibh an àithne agus an lagh, a
dh'àithn Maois òglach an Tighearna
dhuibh, gràdh a thoirt do'n Tigh-
earna bhur Dia, agus gluasad na uile
shlighibh, agus 'àitheantan a ghleidh-
eadh, agus dlùth-leantuinn ris, agus
seirbhis a dheanamh dha le'r n-uile
chridhe, agus le'r n-uile anam.

6 Mar sin bheannaich Iosua *iad*, a-
gus chuir e air falbh iad: agus chaidh
iad d'am pàilliunaibh.

7 A nis do *aon* leth-thréibh Mha-
naseh thug Maois *sealbh* ann am Ba-
san: ach do'n leth-*thréibh eile* dhiubh
thug Iosua *sealbh* am measg am bràith-
rean air an taobh so do Iordan air an
làimh an iar. Agus cuideachd, an
uair a chuir Iosua air falbh iad
d'am pàilliunaibh, an sin bheannaich
e iad,

8 Agus labhair e riu, ag ràdh, Le
mòr shaibhreas pillibh d'ar pàilliun-
aibh, agus le ro-mhòran spréidhe, le
h-airgiod, agus le h-òr, agus le
h-umha, agus le h-iarunn, agus le
ro-mhòran eudaich; roinnibh creach
bhur naimhde r'ar bràithribh.

9 Agus phill clann Reubein, agus
clann Ghad, agus leth-thréibh Mha-
naseh, agus dh'fhalbh iad o chloinn
Israeil a Siloh, a *tha* ann an tìr Cha-
naain, gu dol do thìr Ghilead, gu
fearann an seilbhe, a shealbhaich iad,
a réir focail an Tighearna le làimh
Mhaois.

10 Agus an uair a thàinig iad gu
crìochaibh Iordain, a *tha* ann an tìr
Chanaain, thog clann Reubein, agus
clann Ghad, agus leth-thréibh Mha-
naseh altair an sin làimh ri Iordan, al-
tair mhòr ri amharc oirre.

11 Agus chuala clann Israeil air a
ràdh, Feuch, thog clann Reubein, a-
gus clann Ghad, agus leth-thréibh
Mhanaseh, altair thall fa chomhair
tìre Chanaain, ann an crìochaibh Ior-
dain, far an d'thàinig clann Israeil
thairis.

12 Agus an uair a chuala clann
Israeil *so*, chruinnich coimhthional
chloinn Israeil uile iad féin an ceann a
chéile aig Siloh, gu dol suas a chog-
adh nan aghaidh.

13 Agus chuir clann Israeil a
dh'ionnsuidh cloinn Reubein, agus a
dh'ionnsuidh cloinn Ghad, agus gu
leth-thréibh Mhanaseh, do thìr Ghil-
ead, Phinehas mac Eleasair an t-sa-
gairt,

14 Agus deich ceannardan[b] maille
ris, ceannard do gach prìomh thigh[c],
air feadh uile threubhan Israeil, agus
b'e gach fear dhiubh ceann tighe
an aithriche, air feadh mhìltean Is-
raeil.

15 Agus thàinig iad gu cloinn
Reubein, agus gu cloinn Ghad, agus
gu leth-thréibh Mhanaseh, gu tìr
Ghilead, agus labhair iad riu, ag
ràdh,

16 Mar so tha coimhchruinneach
an Tighearn uile ag ràdh, Ciod e an
cionta so a rinn sibh an aghaidh Dé
Israeil, pilleadh air falbh an diugh o
leantuinn an Tighearna, le altair a
thogail dhuibh féin, chum ceannairc a
dheanamh an diugh an aghaidh an
Tighearna?

17 An ro-bheag dhuinn cionta
Pheoir, o nach eil sinn air ar glanadh
gus an la'n diugh, (agus *air son* an
robh plàigh ann an coimhchruinneach
an Tighearna,)

18 Ach gu'm pilleadh sibh air
falbh an diugh o'n Tighearn a lean-
tuinn? agus tarlaidh, *do bhrìgh* gu
bheil sibh a' deanamh ceannairc an
diugh an aghaidh an Tighearna, am
màireach gu'n las 'fhearg an aghaidh
uile choimhchruinnich Israeil.

19 Gidheadh

[a] *dean.* Eabh. [b] *uachdarain.* [c] *as gach tigh ard athar.*

19 Gidheadh ma tha fearann bhur seilbhe neo-ghlan, rachaibh thairis a dh'fhearann seilbhe an Tighearna, far am bheil pàilliun an Tighearn a chòmhnuidh, agus gabhaibh sealbh nar measg-ne: ach na deanaibh ceannairc an aghaidh an Tighearna, no ceannairc nar n-aghaidh-ne, le altair a thogail duibh féin, a thuilleadh air altair an Tighearn ar Dé.

20 Nach d'rinn Achan mac Sherah cionta san ni mhallaichte, agus thuit fearg air uile choimhchruinneach Israeil? agus cha b'e 'n duine sin na aonar a bhàsaich na chionta.

21 An sin fhreagair clann Reubein, agus clann Ghad, agus leth-threibh Mhanaseh, agus thubhairt iad ri ceannardaibh mhìltean Israeil,

22 Aig an Tighearna Dia nan dée, aig an Tighearna Dia nan dée e féin a ta fios, agus aig Israel bithidh fios, ma's ann an ceannairc, no ann an eusaontas an aghaidh an Tighearna, (*ma's ann*, na saor sinn an diugh)

23 A thog sinne dhuinn féin altair, gu pilleadh air falbh o'n Tighearn a leantuinn, no ma's ann a thoirt suas oirre ìobairt-loisgte, no tabhartais-bidh, no ma's ann a thoirt suas oirre ìobairte thabhartasa sith, an sin agradh an Tighearna féin *e*:

24 Agus mur ann air eagal an ni *so* a rinn sinn e, ag ràdh, Anns an àm ri teachd dh'fheudadh bhur clann-sa labhairt ri 'r cloinn-ne, ag ràdh, Ciod bhur gnothuch-sa ris an Tighearna Dia Israeil?

25 Oir rinn an Tighearna Iordan na crich eadar sinne agus sibhse; a chlann Reubein, agus a chlann Ghad, cha'n'eil agaibhse cuibhrionn air bith san Tighearna: mar so bheir bhur clann sa air ar cloinn-ne sgur o eagal an Tighearn a bhi orra.

26 Uime sin thubhairt sinn, Gabhamaid a nis mu altair a thogail dhuinn féin, cha'n ann air son tabhartais-loisgte no air son ìobairt;

27 Ach *a chum gu'm bi* i na fianuis eadar sinne agus sibhse, agus ar sliochd nar déigh, a chum as gu'n dean sinn seirbhis an Tighearna na làthair le'r tabhartais-loisgte, agus le'r n-ìobairtibh, agus le'r tabhartais-sìth, a chum as nach abair bhur clann-sa r'ar cloinn-ne san àm ri teachd, Cha'n'eil cuibhrionn agaibh san Tighearna.

28 Uime sin thubhairt sinn, gu'n tachair e, 'nuair a their iad *so* ruinne, no r'ar sliochd san àm ri teachd, gu'm bi againn ri ràdh *a rìs*, Faicibh samhladh altair an Tighearna, a rinn ar n-aithriche, cha'n ann air son thabhartasa-loisgte, no air son ìobairtean, ach [a] *is* fianuis i eadar sinne agus sibhse.

29 Gu ma fada robh e uainne ceannairc a dheanamh an aghaidh an Tighearna, agus pilltinn an diugh o leantuinn an Tighearna, le altair a thogail air son thabhartasa-loisgte, air son thabhartasa-bidh, no air son ìobairtean, seach altair an Tighearn ar Dé *a tha* air beulaobh a phàilliuin.

30 Agus an uair a chuala Phinehas an sagart, agus ceannardan a' choimhchruinnich, agus cinn mhìltean Israeil a *bha* maille ris, na briathran a labhair clann Reubein, agus clann Ghad, agus clann Mhanaseh, thaitinn e riu.

31 Agus thubhairt Phinehas mac Eleasair an t-sagairt ri cloinn Reubein, agus ri cloinn Ghad, agus ri cloinn Mhanaseh, An diugh tha fios againn gu'*m bheil* an Tighearna nar measg, a chionn nach d'rinn sibh an cionta so an aghaidh an Tighearna: a nis shaor sibh clann Israeil a làimh an Tighearna.

32 Agus phill Phinehas mac Eleasair an t-sagairt, agus na ceannardan o chloinn Reubein, agus o chloinn Ghad, a tìr Ghilead gu tìr Chanaain, gu cloinn Israeil, agus thug iad fios d'an ionnsuidh a rìs.

33 Agus thaitinn a' chùis ri cloinn Israeil, agus bheannaich clann Israeil Dia, agus cha robh rùn aca dol[b] suas nan aghaidh gu cath, a sgrios na tìre anns *an robh* clann Reubein agus Ghad nan còmhnuidh.

34 Agus thug clann Reubein, agus clann Ghad *Ed* mar ainm air an altair: oir *bithidh* i na fianuis eadaruinn, gur e'n Tighearn *a's* Dia *ann*.

CAIB.

[a] oir. [b] *cha dubhairt iad gu'n rachadh iad.* Eabh.

CAIB. XXIII.

AGUS an ceann ùine fhada, an déigh do'n Tighearna fois a thoirt do Israel o'n naimhdibh uile mu'n cuairt, dh'fhàs Iosua sean, *agus* thàinig e air 'aghaidh ann am bliadhnaibh.

2 Agus ghairm Iosua *d'a ionnsuidh* Israel uile, an seanairean, agus an ceannardan, agus am breitheamhna, agus an luchd-riaghluidh, agus thubhairt e riu, Tha mise sean, *agus* air teachd air m'aghaidh ann am bliadhnaibh.

3 Agus chunnaic sibh gach *ni* a rinn an Tighearna bhur Dia ris na cinnich sin uile air bhur sonsa; oir *is e*'n Tighearna bhur Dia e féin a chog air bhur son.

4 Faicibh, roinn mi dhuibh le crannchur na cinnich sin a mhaireas, *gu bhi* nan oighreachd d'ar treubhaibh, o Iordan, maille ris na cinnich uile a ghearr mi as, eadhon gus an fhairge mhòir air an taobh an iar.

5 Agus an Tighearna bhur Dia, fuadaichidh esan iad as bhur fianuis, agus iomainidh e iad a mach as bhur sealladh, agus sealbhaichidh sibh am fearann, mar a gheall an Tighearna bhur Dia dhuibh.

6 Bithibhse uime sin ro-mhisneachail a ghleidheadh agus a dheanamh nan uile nithe a ta scrìobhta ann an leabhar lagha Mhaois, a chum nach pill sibh a leth-taobh uaith, a dh'ionnsuidh na làimhe deise no dh'ionnsuidh na làimhe clìthe;

7 A chum nach dthig sibh air feadh nan cinneach sin, nan *cinneach* sin a mhaireas nar measg, agus nach luadh sibh ainm an dée, agus nach mionnaich sibh *orra*, agus nach dean sibh seirbhis dhoibh, agus nach crom sibh sibh féin doibh:

8 Ach dlùth-leanaibh ris an Tighearna bhur Dia, mar a rinn sibh gus an la'n diugh.

9 Oir dh'fhuadaich an Tighearna bhur Dia a mach as bhur fianuis cinnich mhòr agus threun: ach d'ar taobhsa, cha b'urrainn duine sam bith seasamh roimhibh gus an la'n diugh.

10 Cuiridh aon fhear dhibh an teicheadh air mìle; oir *is e*'n Tighearna bhur Dia e féin a chogas air bhur son, mar a gheall e dhuibh.

11 Thugaibh uime sin aire mhaith dhuibh féin, gu'n gràdhaich sibh an Tighearna bhur Dia.

12 No ma théid sibh air chor sam bith air bhur n-ais, agus ma leanas sibh ri fuigheall nan cinneach sin, *eadhon nan cinneach* sin a mhaireas nar measg, agus ma ni sibh cleamhnas riu, agus ma théid sibh a steach d'an ionnsuidh, agus iadsan d'ar n-ionnsuidh-sa:

13 Biodh fios cinnteach agaibh, nach fuadaich an Tighearna bhur Dia tuilleadh *a h-aon oir bith do* na cinnich sin a mach roimhibh: ach bithidh iad dhuibh nan ribe, agus nan ceap-tuislidh, agus nan sgiursadh nar taobhaibh, agus nam bioraibh nar sùilibh, gus an dthéid as duibh bhàrr an fhearainn mhaith so a thug an Tighearna bhur Dia dhuibh.

14 Agus feuch, *a ta* mise an diugh a' dol air slighe na talmhainn uile, agus tha fios agaibh féin nar n-uile chridhe agus nar n-uile anam, nach d'fhàilnich aon ni do na nithibh maithe sin uile a labhair an Tighearna bhur Dia d'ar taobh; thàinig iad gu léir gu crìch dhuibhse, cha d'fhàilnich aon ni dhiubh.

15 Uime sin tarlaidh, mar a thàinig na h-uile nithe maithe oirbh, a gheall an Tighearna bhur Dia dhuibh, mar sin gu'n dthoir an Tighearn oirbh na h-uile nithe olc, gus an sgrios e sibh bhàrr an fhearainn mhaith so a thug an Tighearna bhur Dia dhuibh.

16 'Nuair a bhriseas sibh coimhcheangal an Tighearna bhur Dé, a dh'àithn e dhuibh, agus a théid sibh, agus a ni sibh seirbhis do dhéibh eile, agus a chromas sibh sibh féin doibh; an sin lasaidh fearg an Tighearna nar n-aghaidh, agus théid as duibh gu grad bhàrr an fhearainn mhaith a thug e dhuibh.

CAIB. XXIV.

AGUS chruinnich Iosua treubhan Israeil uile gu Sechem, agus ghairm e air seanairibh Israeil, agus air an ceannardaibh, agus air am breitheamhnaibh

breitheamhnaibh, agus air an luchd-
riaghlaidh, agus nochd siad iad féin
am fianuis Dé.
2 Agus thubhairt Iosua ris an
t-sluagh uile, Mar so tha 'n Tighearna
Dia Israeil ag ràdh, Air taobh thall
an t-srutha [a], anns an t-sean aimsir,
chòmhnuich bhur n-aithriche, eadhon
Terah athair Abrahaim, agus athair
Nachoir: agus rinn iad seirbhis do
dhéibh eile.
3 Agus thug mi bhur n-athair A-
braham o thaobh thall an t-srutha, a-
gus threòraich mi e tre thìr Chanaain
uile, agus rinn mi a shliochd lion-
mhor, agus thug mi dha Isaac.
4 Agus thug mi do Isaac, Iacob a-
gus Esau: agus thug mi do Esau
sliabh Sheir r'a shealbhachadh; ach
chaidh Iacob agus a chlann sìos do'n
Eiphit.
5 Chuir mi Maois mar an ceudna
agus Aaron a mach, agus bhuail mi
an Eiphit a réir an ni sin a rinn mi
na meadhon: agus an déigh sin thug
mi sibhse mach.
6 Agus thug mi bhur n-aithriche
as an Eiphit: agus thàinig sibh a
dh'ionnsuidh na fairge, agus lean na
h-Eiphitich bhur n-aithriche le car-
badaibh agus marc-shluagh gus a'
mhuir ruaidh.
7 Agus an uair a ghlaodh iad ris
an Tighearna, chuir e dorchadas eadar
sibhse agus na h-Eiphitich, agus thug
e a' mhuir orra-san, agus dh'fholaich
e iad; agus chunnaic bhur sùile ciod
a rinn mi san Eiphit: agus ghabh
sibh còmhnuidh san fhàsach ùine
fhada.
8 Agus thug mi sibh do fhearann
nan Amorach, a bha chòmhnuidh air
an taobh thall do Iordan: agus chog
iad ribh: agus thug mi thairis iad
d'ar làimh, agus shealbhaich sibh am
fearann: oir sgrios mise iad as bhur
fianuis.
9 An sin dh'éirich Balac mac Ship-
oir, righ Mhoaib, agus chog e'n agh-
aidh Israeil, agus chuir e *fios*, agus
ghairm e Balaam mac Bheoir chum
sibhse a mhallachadh:
10 Ach cha'n éisdinn-sa ri Balaam;
uime sin da rìreadh bheannaich e
sibh: mar sin shaor mi sibh as a
làimh.
11 Agus chaidh sibh thar Iordan,
agus thàinig sibh gu Iericho: agus
chog fir Iericho nar n-aghaidh, na
h-Amoraich, agus na Perisich, agus
na Canaanaich, agus na Hitich, agus
na Girgasaich, na Hibhich, agus na
Iebusaich; agus thug mi thairis iad
d'ar làimh.
12 Agus chuir mi a' chonnsbeach [b]
roimhibh, a dh'fhuadaich iad a mach
as bhur fianuis, *eadhon* dà righ nan
Amorach; *ach* cha'n ann le d' chlaidh-
eamh, no le d' bhogha.
13 Agus thug mi dhuibh fearann
anns nach do shaothraich sibh, agus
bailte nach do thog sibh, agus ghabh
sibh còmhnuidh annta: do fhion-
liosaibh agus do liosaibh-olaidh nach
do shuidhich sibh, tha sibh ag ith-
eadh.
14 A nis uime sin biodh eagal an
Tighearn oirbh; agus deanaibh seir-
bhis dha ann an treibhdhireas agus
am firinn, agus cuiribh uaibh na dée
d'an d'rinn bhur n-aithriche seirbhis
air taobh thall an t-srutha, agus anns
an Eiphit; agus deanaibh seirbhis do'n
Tighearna.
15 Agus ma mheasar e olc leibh
seirbhis a dheanamh do'n Tighearna,
roghnaichibh an diugh co d'an dean
sibh seirbhis, an ann do na déibh d'an
d'rinn bhur n-aithriche seirbhis, a
bh'air taobh thall an t-srutha, no do
dhéibh nan Amorach, muinntir a tha
sibh a chòmhnuidh nan tìr: ach air
mo shon-sa, agus air son mo thighe,
ni sinne seirbhis do'n Tighearna.
16 Agus fhreagair an sluagh, agus
thubhairt iad, Gu ma fada robh e
uainne an Tighearn a thréigsinn, gu
seirbhis a dheanamh do dhéibh eile.
17 Oir an Tighearna ar Dia, is
esan a thug a nios sinne, agus ar
n-aithrichean a tìr na h-Eiphit, a tigh
na daorsa, agus a rinn na comharan
mòra sin nar sealladh, agus a ghléidh
sinn anns an uile shlighe air an d'im-
ich sinn, agus am measg nan uile
shlògh tre'n deachaidh sinn.
18 Agus dh'fhògair an Tighearn a
mach romhainn na slòigh uile, eadhon
na

[a] *na h-aibhne.* [b] *an cearnabhan*; *hornet.* Sasg.

na h-Amoraich a bha chòmhnuidh san tìr: *uime sin* ni sinne mar an ceudna seirbhis do'n Tighearna, oir *is* esan ar Dia.

19 Agus thubhairt Iosua ris an t-sluagh, Cha'n urrainn sibh seirbhis a dheanamh do'n Tighearna; oir *is* Dia ro-naomh e: *is* Dia eudmhor e; cha logh e bhur n-eusaontais, no bhur peacanna.

20 Ma thréigeas sibh an Tighearna, agus ma ni sibh seirbhis do dhéibh coimheach [a], an sin pillidh e agus ni e olc oirbh, agus claoidhidh e sibh, an déigh dha maith a dheanamh dhuibh.

21 Agus thubhairt an sluagh ri Iosua, Ni h-eadh, ach ni sinne seirbhis do'n Tighearna.

22 Agus thubhairt Iosua ris an t-sluagh, *Is* fianuisean sibh nar n-aghaidh féin, gu'n do thagh sibh dhuibh féin an Tighearna, gu seirbhis a dheanamh dha. Agus thubhairt iad, *Is* fianuisean *sinn*.

23 A nis uime sin cuiribh air falbh *(ars' esan)* na diathan coimheach a *ta* nar measg, agus aomaibh bhur cridhe ris an Tighearna Dia Israeil.

24 Agus thubhairt an sluagh ri Iosua, Do'n Tighearn ar Dia ni sinn seirbhis, agus r'a ghuthsan éisdidh sinn.

25 Mar sin rinn Iosua coimhcheangal ris an t-sluagh air an la sin; agus shuidhich e dhoibh reachd, agus riaghailt ann an Sechem.

26 Agus sgrìobh Iosua na briathra so ann an leabhar lagha Dhé, agus ghabh e clach mhòr, agus chuir e suas i an sin fuidh dharaig, a *bha* làimh ri ionad naomha an Tighearna.

27 Agus thubhairt Iosua ris an t-sluagh uile, Feuch, bithidh a' chlach so na fianuis duinn; oir chual' i uile bhriathran an Tighearn 'a labhair e ruinn: bithidh i uime sin na fianuis nar n-aghaidh-sa, air eagal gu'n àicheadh sibh bhur Dia.

28 Agus leig Iosua leis an t-sluagh imeachd, gach duine d'a oighreachd féin.

29 Agus an déigh nan nithe sin, fhuair Iosua mac Nuin, òglach an Tighearna, bàs, *agus* e ceud agus deich bliadhna dh'aois.

30 Agus dh'adhlaic iad e ann an crìch 'oighreachd féin ann an Timnat-serah, a tha ann an sliabh Ephraim, air an taobh mu thuath do shliabh Ghaais.

31 Agus rinn Israel seirbhis do'n Tighearn uile laithean Iosua, agus uile laithean nan seanair a mhair beo an déigh Iosua, agus d'am b'aithne uile oibre an Tighearna, a rinn e air son Israeil.

32 Agus cnàmhan Ioseiph, a thug clann Israeil a nios as an Eiphit, dh'adhlaic iad ann an Sechem, ann am mir fearainn a cheannaich Iacob o mhacaibh Hamoir athar Shecheim, air son ceud bonn airgid; agus bha e na oighreachd aig cloinn Ioseiph.

33 Agus fhuair Eleasar mac Aaroin bàs, agus dh'adhlaic iad e ann an sliabh le Phinehas a mhac, a thugadh dha ann an sliabh Ephraim.

[a] *do dhiathaibh dùcha eile, do dhiathaibh choigreach.*

BREITHEAMHNA.

CAIB. I.

AN NIS an déigh bàis Iosua,
dh'fhiosraich [a] clann Israeil
do'n Tighearn, ag ràdh, Co a théid
suas air ar son an aghaidh nan Ca-
naanach air tùs, a chogadh nan agh-
aidh?
2 Agus thubhairt an Tighearna,
Théid Iudah suas: feuch thug mi'n
tìr thairis d'a làimh.
3 Agus thubhairt Iudah ri Simeon
a bhràthair, Thig a nìos maille rium-
sa do m' chrannchur, a chum as gu'n
cog sinn an aghaidh nan Canaanach,
agus théid mise mar an ceudna maille
riutsa do d' chrannchur-sa. Agus
chaidh Simeon maille ris.
4 Agus chaidh Iudah suas, agus
thug an Tighearna na Canaanaich,
agus na Perisich, thairis d'an làimh:
agus mharbh iad diubh ann am Besec
deich mìle fear.
5 Agus fhuair iad Adoni-besec ann
am Besec; agus chog iad na aghaidh,
agus bhuail iad na Canaanaich agus
na Perisich.
6 Ach theich Adoni-besec, agus
lean iad e, agus ghlac iad e, agus
ghearr iad dheth ordagan a làmh agus
a chos.
7 Agus thubhairt Adoni-besec,
Thionail tri fichead agus deich righ-
rean, aig an robh ordagan an làmh a-
gus an cos air an gearradh dhiubh,
am biadh fuidh m' bhord-sa: mar a
rinn mi, mar sin dhìol Dia orm. A-
gus thug iad e gu h-Ierusalem, agus
fhuair e bàs an sin.
8 (A nis chog clann Iudah an agh-
aidh Ierusaleim, agus ghlac iad e, a-
gus bhuail iad e le faobhar a' chlaidh-
eimh, agus chuir iad am baile ri
theine.)
9 Agus an déigh sin chaidh clann
Iudah sìos a chogadh an aghaidh nan
Canaanach, a bha chòmhnuidh sa'
mhonadh, agus anns an airde deas, a-
gus anns a' chòmhnard.
10 Agus chaidh Iudah an aghaidh
nan Canaanach a bha chòmhnuidh
ann an Hebron; (a nis *b'e* ainm He-
broin roimhe Ciriat-arba:) agus
mharbh iad Sesai, agus Ahiman, agus
Talmai.
11 Agus a sin chaidh e an aghaidh
luchd-àiteachaidh Dhebir: (agus *b'e*
ainm Dhebir roimhe Ciriat-sepher.)
12 Agus thubhairt Caleb, Esan a
bhuaileas Ciriat-sepher, agus a ghlac-
as e, dha-san bheir mi Achsah mo
nighean na mnaoi.
13 Agus ghlac Otniel mac Chenais
bràthar a b'òige Chaleib e: agus
thug e dha Achsah a nighean na
mnaoi.
14 Agus an uair a thàinig i *d'a
ionnsuidh*, bhrosnaich i e gu achadh
iarraidh o h-athair: agus theirinn i
bhàrr a h-asail; agus thubhairt Caleb
rithe, Ciod is àill leat?
15 Agus thubhairt i ris, Thoir
dhomh beannachadh, oir thug thu
dhomh fearann ri deas [b], thoir dhomh
mar an ceudna tobair uisge. Agus
thug Caleb dh'i na tobair uach-
darach, agus na tobair ìochdarach.
16 Agus chaidh clann a' Chenich,
athar-céile Mhaois, suas a baile nan
craobha-

[a] *dh'fheòruich.*

[b] *fearann tioram, teth.*

craobha-pailme, maille ri cloinn Iudah, do fhàsach Iudah, a *tha* air an taobh mu dheas do Arad; agus chaidh iad agus ghabh iad còmhnuidh am measg an t-sluaigh.

17 Agus chaidh Iudah maille ri Simeon a bhràthair, agus bhuail iad na Canaanaich a bha nan còmhnuidh ann an Sephat, agus sgrios iad gu tur e: (agus thugadh Hormah mar ainm air a' bhaile.)

18 Agus ghlac Iudah Gasa agus a chrìochan, agus Ascelon agus a chrìochan, agus Ecron agus a chrìochan.

19 Agus bha'n Tighearna maille ri Iudah, agus ghabh e sealbh air a' mhonadh, ach cha b'urrainn e luchd-àiteachaidh an t-sratha fhògradh a mach, a chionn gu'n robh carbaid iaruinn aca.

20 Agus thug iad Hebron do Chaleb, mar a thubhairt Maois: agus dh'fhuadaich e as a sin triuir* mhac Anaic.

21 Agus cha do chuir clann Bheniamin a mach na Iebusaich a bha nan còmhnuidh ann an Ierusalem: ach tha na Iebusaich nan còmhnuidh maille ri cloinn Bheniamin ann an Ierusalem gus an la'n diugh.

22 Agus tigh Ioseiph, chaidh iadsan mar an ceudna suas an aghaidh Bheteil: agus *bha*'n Tighearna maille riu.

23 Agus chuir tigh Ioseiph *daoine* a rannsachadh a mach Beteil: (a nis b'e ainm a' bhaile roimhe Lus.)

24 Agus chunnaic an luchd-brathaidh duine a' teachd a mach as a' bhaile, agus thubhairt iad ris, Feuch dhuinn, guidheamaid ort, an rathad a stigh do'n bhaile, agus nochdaidh sinn tròcair dhuit.

25 Agus an uair a dh'fheuch e dhoibh an rathad a stigh do'n bhaile, bhuail iad am baile le faobhar a' chlaidheimh: ach leig iad air falbh an duine agus a theaghlach uile.

26 Agus chaidh an duine do fhearann nan Hiteach, agus thog e baile, agus thug e Lus mar ainm air: *is e* so 'ainm gus an la'n diugh.

27 Cha mhò a dh'fhògair Manaseh a mach *luchd-àiteachaidh* Bhet-seain agus a bhailte, no Thaanaich agus a bhailte, no luchd-àiteachaidh Dhoir agus a bhailte, no luchd-àiteachaidh Ibleaim agus a bhailte, no luchd-àiteachaidh Mhegido agus a bhailte: ach b'àill leis na Canaanaich còmhnuidh a ghabhail san fhearann sin.

28 Agus tharladh an uair a dh'fhàs Israel làidir, gu'n do chuir iad na Canaanaich fuidh chìs: ach cha d'fhuadaich iad gu buileach a mach iad.

29 Cha mhò a dh'fhuadaich Ephraim a mach na Canaanaich a bha chòmhnuidh ann an Geser: ach ghabh na Canaanaich còmhnuidh nam measg ann an Geser.

30 Cha mhò a dh'fhuadaich Sebulun a mach luchd-àiteachaidh Chitroin, no luchd-àiteachaidh Nahaloil: ach ghabh na Canaanaich còmhnuidh nam measg, agus bha iad fuidh chìs *doibh*.

31 Cha mhò a dh'fhuadaich Aser a mach luchd-àiteachaidh Acho, no luchd-àiteachaidh Shidoin, no Achlaib, no Achsib, no Helbah, no Aphic, no Rehoib:

32 Ach ghabh na h-Aserich còmhnuidh am measg nan Canaanach, luchd-àiteachaidh na tìre; oir cha d'fhuadaich iad a mach iad.

33 Cha mhò a dh'fhuadaich Naphtali a mach luchd-àiteachaidh Bhet-semeis, no luchd-àiteachaidh Bhet-anait; ach ghabh e còmhnuidh am measg nan Canaanach, luchd-àiteachaidh na tìre: gidheadh bha luchd-àiteachaidh Bhet-semeis agus Bhet-anait fuidh chìs doibh.

34 Agus dh'éignich na h-Amoraich clann Dhain, do'n t-sliabh: oir cha leigeadh iad leo teachd a nuas do'n ghleann:

35 Ach b'àill leis na h-Amoraich còmhnuidh a ghabhail ann an sliabh Hereis ann an Aialon, agus ann an Saalbim: gidheadh bhuadhaich làmh tighe Ioseiph, agus bha iad fuidh chìs *doibh*.

* *triùr*

36 Agus *bha* crìoch nan Amorach
o uchdaich Acrabim, o'n charraig,
agus ſuas o ſin.

CAIB. II.

AGUS thàinig aingeal an Tigh-
earna nìos o Ghilgal gu Bo-
chim, agus thubhairt e, Thug mi
nìos ſibh as an Eiphit, agus thug mi
ſteach ſibh do'n fhearann a mhionn-
aich mi d'ar n-aithrichibh; agus thu-
bhairt mi, Cha bhris mi mo choimh-
cheangal ribh gu bràth.
2 Agus cha dean ſibh coimhchean-
gal ſam bith ri luchd-àiteachaidh na
tìre ſo, tilgidh ſibh sìos an altairean:
ach cha d'thug ſibh géil' dom' ghuth;
c'ar ſon a rinn ſibh ſo?
3 Uime ſin mar an ceudna thu-
bhairt mi, Cha'n fhuadaich mi mach
iad roimhibh; ach bithidh iad mar
bhiora n'ar taobhaibh, agus bithidh an
dée nan ribe dhuibh.
4 Agus an uair a labhair aingeal
an Tighearna na briathra ſin ri cloinn
Iſraeil uile, thog an ſluagh ſuas an
guth, agus ghuil iad.
5 Agus ghairm iad ainm an àite
ſin Bochim: agus dh'ìobair iad an
ſin do'n Tighearna.
6 Agus an uair a leig Ioſua leis an
t ſluagh imeachd, chaidh clann Iſraeil
gach duine d'a oighreachd a ghabhail
ſeilbh air an fhearann.
7 Agus rinn an ſluagh ſeirbhis
do'n Tighearna rè uile laithean Ioſua,
agus uile laithean nan ſeanairean a
mhair beo an déigh Ioſua, a chunnaic
uile oibre mòra an Tighearna, a rinn
e air ſon Iſraeil.
8 Agus fhuair Ioſua mac Nuin,
òglach an Tighearna, bàs, *agus e* ceud
agus deich bliadhna dh'aois.
9 Agus dh'adhlaic iad e ann an
crìch 'oighreachd féin ann an Timnat-
heres, ann an ſliabh Ephraim, air an
taobh mu thuath do ſhliabh Ghaais.
10 Agus chruinnicheadh mar an
ceudna an ginealach ſin uile chum an
aithriche: agus dh'éirich ginealach
eile ſuas nan déigh, do nach b'aithn-
eadh an Tighearna, no na h-oibre a
rinn e air ſon Iſraeil.
11 Agus rinn clann Iſraeil olc ann
an ſealladh an Tighearna, agus rinn
iad ſeirbhis do Bhaalim:
12 Agus thréig iad an Tighearna
Dia an aithriche, a thug a mach iad a
tìr na h-Eiphit, agus lean iad diathan
eile, do dhéibh an t-ſluaigh a *bha*
mu'n cuairt orra, agus chrom ſiad iad
féin sìos doibh, agus bhroſnaich iad
an Tighearna gu corruich.
13 Agus thréig iad an Tighearna,
agus rinn iad ſeirbhis do Bhaal agus
do Aſtarot.
14 Agus las corruich an Tighearn
an aghaidh Iſraeil, agus thug e thairis
iad do làimh chreachadairean a
chreach iad, agus reic e iad do làimh
an naimhdean mu'n cuairt, air chor
as nach b'urrainn iad ni b'fhaide ſeaſ-
amh an làthair an naimhde.
15 Ge b'e taobh a chaidh iad a
mach, bha lamh an Tighearna nan
aghaidh chum uilc, mar a thubhairt
an Tighearna, agus mar a mhionn-
aich an Tighearna dhoibh: agus bha
iad ann an teinn ro-mhòir.
16 Gidheadh thog an Tighearna
ſuas breitheamhna, a ſhaor iad a
làimh na muinntir ſin a chreach
iad.
17 Gidheadh cha'n éiſdeadh iad
r'am breitheamhnaibh, ach chaidh iad
le ſtrìopachas an déigh dhiathan eile,
agus chrom ſiad iad féin doibh: phill
iad gu grad as an t-ſlighe anns an
d'imich an aithriche, a toirt géill a
dh'àitheantaibh an Tighearna: cha
d'rinn iadſan mar ſin.
18 Agus an uair a thog an Tigh-
earna ſuas doibh breitheamhna, an ſin
bha'n Tighearna leis a' bhreitheamh,
agus ſhaor e iad a làimh an naimhde,
rè uile laithean a' bhreitheamh: (oir
ghabh an Tighearna truas *diubh* air
ſon an oſnaich o làthair[a] na muinn-
tir ſin a rinn ainneart orra, agus a
ſhàraich iad[b].)
19 Agus an uair a bha'm breith-
eamh marbh, phill iad, agus thruaill
ſiad iad féin ni's mò na'n aithriche,
ann an leantuinn dhiathan eile, gu
ſeirbhis a dheanamh dhoibh, agus gu
cromadh sìos doibh: cha do ſguir
iad o'n gnìomharaibh féin, no o'n
ſlighe eas-ùmhail.

20 Agus

[a] *air ſon.* [b] *a theannaich iad.* Eabh.

20 Agus las fearg an Tighearn an
aghaidh Israeil, agus thubhairt e, A
chionn gu'n do bhris an sluagh so mo
choimhcheangal a dh'àithn mi d'an
aithrichibh, agus nach d'éisd iad ri 'm
ghuth:
21 Cha chuir mise mar an ceudna
a so suas duine sam bith a mach
rompa, do na cinnich a dh'fhàg Iosua
'nuair a fhuair e bàs:
22 Chum leo-san gu'n dearbh mi
Israel, an gléidh iad slighe an Tigh-
earna a dh'imeachd innte, mar a
ghléidh an aithrichean *i*, no nach
gléidh.
23 Uime sin dh'fhàg an Tigh-
earna na cinnich sin, gun an fuadach-
adh a mach gu grad; agus cha d'thug
e thairis iad do làimh Iosua.

CAIB. III.

A NIS *is iad* so na cinnich a dh'fhàg
an Tighearn a dhearbhadh Is-
raeil leo, (*eadhon* a' mheud *do Israel*
do nach b'aithne cogaidh Chanaain
uile;
2 A mhàin a chum gu'm b'aithne
do ghinealaich chloinn Israeil cogadh
iunnsachadh dhoibh, air bheag sam
bith *dhoibhsan* do nach b'aithne a'
bheag dheth roimhe:)
3 *Eadhon* cùig tighearnan nam
Philisteach, agus na Canaanaich uile,
agus na Sidonaich, agus na Hibhich
a bha chòmhnuidh ann an sliabh Le-
banoin; o shliabh Bhaal-hermoin, gu
dol a stigh Hamait.
4 Agus bha iad gu Israel a dhearbh-
adh leo, a dh'aithneachadh an éisdeadh
iad ri àitheantaibh an Tighearna, a
dh'àithn e d'an aithrichibh le làimh
Mhaois.
5 Agus ghabh clann Israeil còmh-
nuidh am measg nan Canaanach, nan
Hiteach, agus nan Amorach, agus
nam Periseach, agus nan Hibheach,
agus nan Iebusach:
6 Agus ghabh iad an nigheana gu
bhi nam mnaibh aca, agus thug iad
an nigheana féin d'am macaibh-san;
agus rinn iad seirbhis d'an déibh.
7 Agus rinn clann Israeil olc ann
an sùilibh an Tighearna, agus dhi-
chuimhnich iad an Tighearn an Dia,
agus rinn iad seirbhis do Bhaalim, a-
gus do Astarot[a].
8 Uime sin las fearg an Tighearn
an aghaidh Israeil, agus reic e iad do
làimh Chusan-risataim righ Mhesopo-
tamia: agus rinn clann Israeil seirbhis
do Chusan-risataim ochd bliadhna.
9 Agus an uair a ghlaodh clann
Israeil ris an Tighearna, thog an
Tighearna suas fear-saoraidh do
chloinn Israeil, a shaor iad, *eadhon*
Otniel mac Chenais, bràthar a b'òige
Chaleib.
10 Agus bha spiorad an Tighearn
air, agus thug e breth air Israel, agus
chaidh e mach a chogadh; agus thug
an Tighearna thairis d'a làimh Cusan-
risataim righ Mhesopotamia: agus
bhuadhaich a làmh an aghaidh Chù-
san-risataim.
11 Agus bha fois aig an tìr rè dhà
fhichead bliadhna: agus fhuair Otniel
mac Chenais bàs.
12 Agus rinn clann Israeil olc a rìs
ann an sùilibh an Tighearna: agus
neartaich an Tighearn Eglon righ
Mhoaib an aghaidh Israeil, a chionn
gu'n d'rinn iad olc ann an sùilibh an
Tighearna.
13 Agus chruinnich e d'a ionn-
suidh clann Amoin, agus Amalec, a-
gus chaidh e agus bhuail e Israel, agus
shealbhaich iad baile[b] nan craobha-
pailme.
14 Agus rinn clann Israeil seirbhis
do Eglon righ Mhoaib ochd bliadhna
deug.
15 Ach an uair a ghlaodh clann
Israeil ris an Tighearna, thog an
Tighearna suas doibh fear-saoraidh,
Ehud mac Ghera, Beniamineach,
duine ciotach[c]: agus leis-san chuir
clann Israeil tiodhlacadh gu h-Eglon
righ Mhoaib.
16 Ach rinn Ehud dha féin claidh-
eamh, aig an robh dà fhaobhar, làmh-
choille air fad; agus cheangail se e
fuidh 'eudach, air a shliasaid dheis.
17 Agus thug e'n tiodhlacadh gu
h-Eglon righ Mhoaib: agus bha Eg-
lon na dhuine ro-reamhar.
18 Agus an uair a chuir e crìoch

[a] *do na doireachaibh.* [b] *cathair.* [c] *cli-làmhach.*

air an tiodhlacadh a thoirt seachad,
chuir e air falbh an sluagh a ghiùlain
an tiodhlacadh.
19 Ach phill e féin a rìs o na clach-
shlocaibh[a] a *bha* làimh ri Gilgal, agus
thubhairt e, Tha gnothuch uaigneach
agam riut, O a righ. Agus thubhairt
esan, Bi d'thosd. Agus chaidh iadsan
uile a sheas làimh ris a mach uaith.
20 Agus chaidh Ehud a steach d'a
ionnsuidh, agus bha e na shuidhe ann
an seòmar-sàmhraidh[b], a *bh*'aige dha
féin a mhàin: agus thubhairt Ehud,
Tha teachdaireachd agam o Dhia a'd'
ionnsuidh. Agus dh'éirich e suas as a
chathair.
21 Agus chuir Ehud a mach a
làmh chlì, agus thug e 'n claidheamh
o 'shliasaid dheis, agus shàth e na
bhroinn e.
22 Agus chaidh an dornchur a
stigh an déigh na loinne, agus dhùin
an t-saill air an loinn; oir cha do
tharruing e'n claidheamh[c] as a
bhroinn: agus thàinig an salchar a
mach.
23 An sin chaidh Ehud a mach
tre'n fhor-dhorus[d], agus dhùin e
dorsan an t-seòmair air, agus ghlais e
iad.
24 'Nuair a chaidh e mach, thàinig
a sheirbhisich; agus an uair a chunn-
aic iad, feuch, gu'*n robh* dorsan an
t-seòmair glaiste, thubhairt iad, Gu
cinnteach *tha* e còmhdachadh a chos
na sheòmar-sàmhraidh.
25 Agus dh'fheith iad gus an robh
nàire orra: agus feuch, cha d'fhosgail
e dorsan an t-seòmair; uime sin ghabh
iad iuchair, agus dh'fhosgail siad *iad*:
agus feuch, *bha*'n tighearn air tuiteam
sìos marbh air an talamh.
26 Agus chaidh Ehud as an uair a
bha iadsan fuidh amhluadh[e]: agus
chaidh e seachad air na clach-shloc-
aibh, agus chaidh e as gu Seirat.
27 Agus an uair a bha e air teachd,
shéid e trompaid ann an sliabh Eph-
raim, agus chaidh clann Israeil sìos
maille ris o'n t-sliabh, agus esan
rompa.
28 Agus thubhairt e riu, Leanaibh
mise; oir thug an Tighearna bhur
naimhde na Moabaich thairis d'ar
làimh. Agus chaidh iad sìos na
dhéigh, agus ghlac iad àthanna Ior-
dain leth ri Moab, agus cha do leig
iad duine thairis.
29 Agus mharbh iad do Mhoab-
san àm sin mu thimchioll deich mìle
fear, sultmhor[f] uile, agus nan daoin-
ibh gaisgeil uile; agus cha deachaidh
duine air bith as.
30 Mar sin cheannsaicheadh Moab
air an la sin fuidh làimh Israeil: agus
bha fois aig an tìr ceithir fichead
bliadhna.
31 Agus na dhéigh-san bha Sam-
gar mac Anait, a mharbh do na Phi-
listich sè ceud fear le luirg-iomain[g]
dhamh, agus shaor esan Israel mar an
ceudna.

CAIB. IV.

AGUS rinn clann Israeil olc a rìs
ann an sùilibh an Tighearna,
'nuair a bha Ehud marbh.
2 Agus reic an Tighearn iad do
làimh Iabin righ Chanaain, a rìogh-
aich ann an Hasor; agus *b*'e ceannard
a shluaigh Sisera, a bha chòmhnuidh
ann an Haroset nan cinneach.
3 Agus ghlaodh clann Israeil ris an
Tighearna: oir bha naoi ceud carbad
iaruinn aige; agus rinn e ainneart air
cloinn Israeil gu ro-mhòr rè fhichead
bliadhna.
4 Agus Deborah ban-fhàidh, bean
Lapidoit, thug ise breth air Israel san
àm sin.
5 Agus *bha* i chòmhnuidh fuidh
chraoibh-phailme Dheborah, eadar
Ramah agus Betel, ann an sliabh Eph-
raim: agus chaidh clann Israeil suas
d'a h-ionnsuidh air son breitheanais.
6 Agus chuir i *fios*, agus ghairm i
Barac, mac Abinoaim, a mach a
Cedes-naphtali, agus thubhairt i ris,
Nach d'àithn an Tighearna Dia Is-
raeil, *ag radh*, Imich, agus tarruing
gu sliabh Thaboir, agus thoir leat
deich mìle fear do chloinn Naphtali,
agus do chloinn Shebuluin?
7 Agus tairngidh mis a t'ionnsuidh
gu

[a] *quarries.* Sasg. [b] *fionnfhuaireachd.* [c] *air chor as nach b'urrainn e'n claidheamh a tharruing.* [d] *porch.* Sasg. [e] *a fuireach.* [f] *saibbir.* [g] *slait-iomain, bior-greasaidh.*

gu sruth Chisoin, Sisera ceannard arm-ailte Iabin, le 'charbadaibh, agus a mhòr shluagh; agus bheir mi thairis e do d'làimh.

8 Agus thubhairt Barac rithe, Ma théid thusa leam, an sin théid mi: ach mur dthéid thu leam, cha dthéid.

9 Agus thubhairt i, Gu cinnteach théid mi leat; gidheadh cha bhi'n turus a ghabhas tu chum do chliu; oir do làimh mnà reicidh an Tighearna Sisera. Agus dh'éirich Deborah, agus chaidh i maille ri Barac gu Cedes.

10 Agus ghairm Barac Sebulun agus Naphtali gu Cedes, agus chaidh e suas d'a chois *le* deich mìle fear [a]: agus chaidh Deborah suas maille ris.

11 A nis sgar Heber an Ceneach, *a bha* do chloinn Hobaib, athar-céile Mhaois, e féin o na Cenich, agus shuidhich [b] e a bhùth gu ruig còmhnard Shanaim, a *tha* làimh ri Cedes.

12 Agus dh'innis iad do Shisera gu'n deachaidh Barac mac Abinoaim suas gu sliabh Thaboir.

13 Agus chruinnich Sisera r'a chéile a charbaid uile, *eadhon* naoi ceud carbad iaruinn, agus an sluagh uile a *bha* maille ris, o Harofet nan cinneach, gu sruth Chisoin.

14 Agus thubhairt Deborah ri Barac, Eirich; oir *is e* so an là san d'thug an Tighearna Sisera thairis do d'làimh; nach 'eil an Tighearn air dol a mach romhad? Agus chaidh Barac sìos o shliabh Thaboir, agus deich mìle fear na dhéigh.

15 Agus sgrios an Tighearna Sisera, agus a charbadan uile, agus *a* shluagh uile le faobhar a' chlaidheimh roimh Bharac: agus theirinn Sisera sìos o 'charbad, agus theich e as d'a chois.

16 Ach lean Barac an déigh nan carbad, agus an déigh an t-sluaigh gu Harofet nan cinneach: agus thuit sluagh Shisera uile le faobhar a' chlaidheimh: cha d'fhàgadh uiread as a h-aon *diubh*.

17 Gidheadh theich Sisera d'a chois gu bùth Iaeil, mnà Hebeir a' Chenich; oir *bha* sìth eadar Iabin rìgh Hasoir, agus tigh Hebeir a' Chenich.

18 Agus chaidh Iael a mach an coinneamh Shisera, agus thubhairt i ris, Tionndaidh a steach, mo thighearna, tionndaidh a steach a m'ionnsuidhsa, na biodh eagal ort: agus an uair a thionndaidh e steach d'a h-ionnsuidh do'n bhùth, chòmhdaich i e le brat [c].

19 Agus thubhairt e rithe, Thoir dhomh, guidheam ort, beagan uisge r'a òl, oir tha tart [d] orm: agus dh'fhosgail i searrag bhainne, agus thug i deoch dha, agus chòmhdaich i e.

20 A ris thubhairt e rithe, Seas ann an dorus a' bhùtha, agus ma thig duine agus gu'm feoraich e dhiot, agus gu'n abair e, Am bheil duine sam bith an so? an sin their thusa, Cha'*n 'eil*.

21 An sin ghabh Iael, bean Hebeir, tarrang [e] do'n phàilliun, agus ghlac i ord na làimh, agus chaidh i gu sàmhach a steach d'a ionnsuidh, agus bhuail i'n tarrang na leth-cheann, agus ràth i san talamh i; (oir bha e trom na chodal agus sgìth:) agus fhuair e bàs.

22 Agus feuch, an uair a bha Barac an tòir air Sisera, thàinig Iael a mach na choinneamh, agus thubhairt i ris, Thig, agus feuchaidh mi dhuit am fear a *tha* thu 'g iarraidh. Agus an uair a chaidh e steach *d'a bùth*, feuch, *bha* Sisera na luidhe marbh, agus an tarrang na leth-cheann.

23 Mar sin cheannsaich Dia air an là sin Iabin rìgh Chanaain am fianuis chloinn Israeil.

24 Agus shoirbhich le làimh chloinn Israeil, agus bha i trom [f] air Iabin rìgh Chanaain, gus an do chuir iad as do Iabin rìgh Chanaain.

CAIB. V.

AGUS chan Deborah, agus Barac mac Abinoaim, air an là sin, ag ràdh;

2 A chionn gu'n do ghabh Israel dioghaltas,

[a] *chaidh e suas le deich mìle fear aig a chois.* [b] *shìn, sgaoil.* Eabh. [c] *falluing.* [d] *pathadh.* [e] *tarrann.* [f] *bha i cruaidh.* Eabh.

dioghaltas, a chionn gu'n do thairg
an sluagh iad féin gu toileach, mol-
aibhse an Tighearna.
3 Eisdibh, a righre; thugaibh aire,
a cheannarda; canaidh mise, mise féin,
do'n Tighearna, canaidh mi do'n
Tighearna Dia Israeil.
4 A Thighearna, 'nuair a chaidh
thu mach a Seir, 'nuair a shiubhail
thu mach a tìr Edoim, chriothnaich
an talamh, agus shil na nèamha; shil
na neoil mar an ceudna uisge.
5 Leagh na sléibhtean o làthair an
Tighearna, Sinai sin féin o làthair an
Tighearna Dé Israeil.
6 Ann an laithibh Shamgair mhic
Anait, ann an laithibh Iaeil, bha na
rathaide mòra gun tathuich, agus
dh'imich an luchd turuis air rathaid-
ibh seachranach.
7 Sguir *luchd àiteachaidh* nam bail-
tean ann an Israel, sguir iad gus an
d'éirich mise Deborah, gus an d'éirich
mise a'm' mhàthair ann an Israel.
8 Thagh iad dée nuadha; an sin
bha cogadh anns na geataibh: an
robh sgiath no sleagh ri'm faicinn am
measg dhà fhichead mìle ann an Is-
rael?
9 *Tha* mo chridhe le uachdaranaibh
Israeil, a thairg iad féin gu toileach
am measg an t-sluaigh. Beannaich-
ibh an Tighearna.
10 Sibhse a ta marcachd air asal-
aibh geala, sibhse a ta 'nar suidhe am
breitheanas, agus a siubhal an ròid,
labhraibh.
11 *Iadsan a tha air an saoradh* o
fhuaim nam fear-bogha ann an ionad-
aibh tarruing an uisge, an sin airisidh
iad gnìomhara cothromach an Tigh-
earna, *eadhon* na gnìomhara cothrom-
ach *a thaobh luchd-àiteachaidh* a bhail-
tean ann an Israel: an sin théid
sluagh an Tighearna sìos a dh'ionn-
suidh nan geatacha.
12 Dùisg, dùisg, a Dheborah:
dùisg, dùisg, can òran: éirich, a Bha-
raic, agus thoir do bhruid [a] am
braighdeanas, thusa a mhic Abi-
noaim.
13 An sin thug e air-san a mhair-
eas tighearnas a bhi aige air na
h-uaislibh am measg an t-sluaigh:
thug an Tighearn ormsa tighearnas a
bhi agam os cionn nan cumhachd-
ach.
14 A h-Ephraim *bha* freumh
dhiubh an aghaidh Amaleic; 'a'd
dhéigh-sa Beniamin am measg do
shluaigh; a Machir thàinig a nuas
lagh-thabhartairean, agus a Sebulun
iadsan a laimhsicheas peann an sgrìobh-
air.
15 Agus *bha* ceannardan Isachair
le Deborah, eadhon Isachar, *agus* mar
an ceudna Barac; do'n ghleann chuir-
eadh esan sìos d'a chois: air son
roinnean Reubein *bha* smuaintean
mòra cridhe.
16 C'ar son a dh'fhuirich thu am
measg chrò nan caorach, a chluinntinn
mèilich nan treud? air son roinnean
Reubein *bha* smuaintean [b] mòra
cridhe.
17 Dh'fhan Gilead an taobh thall
do Iordan; agus c'ar son a dh'fhuirich
Dan ann an longaibh? dh'fhan Aser
air tràigh [c] na fairge, agus na bhearn-
aibh ghabh e còmhnuidh.
18 *Bu* shluagh Sebulun agus Naph-
tali, *a* chuir an anma ann an cunart
gu bàs ann an àitibh ard an fhear-
ainn.
19 Thàinig na righrean *agus* chog
iad, an sin chog righre Chanaain ann
an Taanach làimh ri uisgibh Mhe-
gido: cha do ghabh iad buannachd air
bith airgid.
20 O nèamh chog na reulta; o'n
sligheannaibh arda chog iad an agh-
aidh Shisera.
21 Sguab sruth Chisoin air falbh
iad, an seann sruth sin, sruth Chisoin:
O m'anam! shaltair thu sìos neart.
22 An sin bhruthadh iongana nan
each le leumnaich, leumnaich an
dona cumhachdach.
23 Mallaichibhse Meros, (thu-
bhairt aingeal an Tighearna,) mal-
laichibh gu mòr a luchd-àiteachaidh:
a chionn nach d'thàinig iad gu còmh-
nadh [d] an Tighearna, gu còmhnadh an
Tighearn an aghaidh nan cumh-
achdach:
24 Beannaicht' os cionn bhan
bithidh

[a] *de bhraighdeanan* [b] *rannsachadh.* [c] *ann an caladh.* [d] *ron-*
gnamh. Eir.

bithidh Iael bean Heber a' Chenich, beannaichte bithidh i os cionn bhan ann a' bhùth.

25 Dh'iarr e uisge, thug i *dha* bainne; ann an soitheach uasal thug i làthair im.

26 Chuir i a làmh[a] ris an tarraing, a làmh dheas ri ord nan oibrichean: agus leis an ord bhuail[b] i Sisera; bhuail i a cheann, agus lot i, agus shàth i troimh a leth-cheann.

27 Aig a cosaibh chrom e, thuit e, luidh e sios: aig a cosaibh chrom e, thuit e; far an do chrom e, an sin thuit e sios marbh.

28 A mach air uinneig dh'amhairc màthair Shisera, agus ghlaodh i tre'n chléith[c], C'ar son a ta 'charbad co fhad a' teachd? c'ar son a ta rothan a charbaid a' deanamh moille?

29 Fhreagair a bain-tighearnan glic i, seadh, thug i freagradh dhi féin.

30 Nach d'fhuair iad, *nach* 'eil iad a' roinn na creiche? maighdean *no* dhà do gach fear? creach iomadh-dathach do Shisera, creach iomadh-dathach a dh'obair-snàthaide, iomadh-dathach a dh'obair snàthaide air gach taobh, air son mhuinealan *na muinntir* sin a ghlacas a' chreach?

31 Mar sin rachadh as do d' nàimhdibh uile, a Thighearna: ach *biodh* iadsan leis an ionmhuinn e mar a' ghrian an uair a théid i mach '*na* neart. Agus bha fois aig an tìr rè dhà fhichead bliadhna.

C A I B. VI.

AGUS rinn clann Israeil olc ann an sùilibh an Tighearna: agus thug an Tighearna thairis iad do làimh Mhidiain rè sheachd bliadhna.

2 Agus bhuadhaich làmh Mhidiain an aghaidh Israeil: *agus* air sgàth nam Midianach rinn clann Israeil dhoibh féin na sluic a *tha* sna beanntaibh, agus na h-uamhan, agus na daingnichean làidir.

3 Agus thachair, an uair a chuir clann Israeil *sìol*, gu'n d'thàinig na Midianaich a nios, agus na h-Amalecich, agus clann na h-aird' an ear; thàinig eadhon iadsan a nios nan aghaidh:

4 Agus champaich iad nan aghaidh, agus mhill iad toradh na talmhainn, gus an dthig thu gu Gasa, agus cha d'fhàg iad teachd-an-tìr sam bith do Israel, aon chuid caora, no bò, no asal.

5 Oir thàinig iad a nios le'n spréidh, agus am bùthaibh, agus thàinig iad mar na locuist air lionmhoireachd; *oir* bha 'n dà chuid iad féin agus an càmhail gun àireamh: agus chaidh iad a steach do'n tìr a chum a milleadh.

6 Agus thugadh Israel gu bochdainn ro-mhòir leis na Midianaich; agus ghlaodh clann Israeil ris an Tighearna.

7 Agus an uair a ghlaodh clann Israeil ris an Tighearna air son nam Midianach,

8 Chuir an Tighearna fàidh dh'ionnsuidh chloinn Israeil, agus thubhairt e riu, Mar so tha'n Tighearna Dia Israeil ag ràdh, Thug mi nios sibh o'n Eiphit, agus thug mi mach sibh a tigh na daorsa;

9 Agus shaor mi sibh a làimh nan Eiphiteach, agus a làimh nan uile a rinn foirneart oirbh; agus dh'fhuadaich mi mach iad roimhibh, agus thug mi dhuibh am fearann.

10 Agus thubhairt mi ribh, Is mise an Tighearna bhur Dia, na biodh eagal dhée nan Amorach oirbh, muinntir *a tha* sibh a chòmhnuidh 'nam fearann: ach cha d'éisd sibh ri m' ghuth.

11 Agus thàinig aingeal an Tighearna, agus shuidh e fuidh dharaig a *bha* ann an Ophrah, a *bhuin* do Ioas an t-Abiesrach: agus *bha* a mhac Gideon a' bualadh arbhair ann an[d] amar bruthaidh an fhiona, gu 'fholach o na Midianaich.

12 Agus dh'fhoillsich aingeal an Tighearn e féin da, agus thubhairt e ris, *Tha*'n Tighearna maille riut, a dhuine thréin ann an neart.

13 Agus thubhairt Gideon ris, Och mo thighearna, ma tha 'n Tighearna maille ruinn, c'ar son a thàinig so uile oirnn? agus c'àit am bheil a mhiorbhuilean uile a dh'innis ar n-aithriche dhuinn, ag ràdh, Nach d'thug

[a] *a làmh chli.* [b] *bhrùth.* [c] *lattess.* Sasg. [d] *làimh ri.*

d'thug an Tighearna sinn a nìos o'n Eiphit? ach a nis thréig an Tighearna sinn, agus thug e thairis sinn do làimh nam Midianach.

14 Agus dh'amhairc an Tighearn air, agus thubhairt e, Imich ann do neart so, agus saoraidh tu Israel o làimh nam Midianach: nach do chuir mise *uam* thu?

15 Agus thubhairt e ris, Och mo Thighearna, cia leis a shaoras mise Israel? feuch, *tha* mo theaghlach bochd ann am Manaseh, agus *is* mise a's lugha ann an tigh m'athar.

16 Agus thubhairt an Tighearna ris, Gu cinnteach bithidh mise maille riut, agus buailidh tu na Midianaich mar aon duine.

17 Agus thubhairt e ris, Ma fhuair mi nis deagh-ghean a'd' shùilibh, an sin nochd comhara dhomh gur tusa *a ta* labhairt rium.

18 Na falbh a so, guidheam ort gus an dthig mi a'd' ionnsuidh, agus gun dthoir mi mach mo thiodhlacadh, agus gu'n cuir mi a'd làthair *e*. Agus thubhairt e, Fanaidh mi gus an dthig thu a rìs.

19 Agus chaidh Gideon a stigh, agus dheasaich e meann do na gabhraibh, agus ephah phlùir [a] na bhreacagaibh neo-ghoirtichte: an fheoil chuir e ann am bascaid, agus an sùgh chuir e ann am poit, agus thug e mach *iad* d'a ionnsuidh fuidh 'n daraig, agus chuir e na làthair *iad* [b].

20 Agus thubhairt aingeal Dé ris, Gabh an fheoil, agus na breacaga neo-ghoirtichte, agus cuir *iad* air a' charraig so, agus taom a mach an sùgh. Agus rinn e mar sin.

21 An sin chuir aingeal an Tighearna mach bàrr a' bhataidh a *bha* na làimh, agus bhean e ris an fheoil, agus ris na breacagaibh neo-ghoirtichte: agus dh'éirich teine suas as a' charraig, agus loisg e 'n fheoil, agus na breacagan neo-ghoirtichte: an sin chaidh aingeal an Tighearn as a shealladh.

22 Agus an uair a thuig Gideon gu'm *b*'e aingeal an Tighearna a bh'ann, thubhairt Gideon, Och, a Tighearna Dhe! a chionn gu'm facá mi aingeal an Tighearn aghaidh ri h-aghaidh.

23 Agus thubhairt an Tighearna ris, Sìth dhuit; na biodh eagal ort; cha 'n fhaigh thu bàs.

24 Agus thog Gideon altair an sin do'n Tighearna, agus thug e Iehobhah-salom mar ainm oirre: gus an la'n diugh *tha* i fathast ann an Ophrah nan Abiesrach.

25 Agus air an oidhche sin féin thubhairt an Tighearna ris, Gabh an tarbh òg aig t'athair, agus an dara tarbh *a tha* seachd bliadhna dh'aois, agus tilg sìos altair Bhaail a *th*'aig t'athair, agus gearr sìos an doire *a tha* làimh rithe;

26 Agus tog altair do'n Tighearna do Dhia air mullach na carraige so, ann an ordugh [c], agus gabh an dara tarbh, agus thoir suas iobairt-loisgte le fiodh an doire a ghearras tu sìos.

27 An sin ghabh Gideon deichnear dhaoine d'a sheirbhisich, agus rinn e mar a thubhairt an Tighearna ris: agus tharladh, a chionn gu'n robh eagal teaghlaiche 'athar air, agus dhaoine a' bhaile, air chor as nach b'urrainn e 'dheanamh san là, gu'n d'rinn e san oidhche *e*.

28 Agus an uair a dh'éirich daoine a' bhaile gu moch anns a' mhaduinn, feuch, bha altair Bhaail air a tilgeadh sìos, agus bha'n doire a *bha* làimh rithe air a ghearradh sìos, agus bha'n dara tarbh air 'iobradh air an altair *a* thogadh.

29 Agus thubhairt iad gach aon r'a chéile, Co a rinn an ni so? agus an uair a dh'fhiosraich iad, thubhairt iad, Is e Gideon mac Ioais a rinn an ni so.

30 An sin thubhairt daoine a' bhaile ri Ioas, Thoir a mach do mhac, a chum as gu'm bàsaich e; a chionn gu'n do thilg e sìos altair Bhaail, agus gu'n do ghearr e sìos an doire a *bha* làimh rithe.

31 Agus thubhairt Ioas riusan uile a sheas na aghaidh, An tagair sibh air son Bhaail? an saor sibh e? esan a thagras air a shon, cuirear gu bàs e, am feadh is *i* mhaduinn *a tha fathast* ann

[a] *mine.* [b] *thairg e dha* iad. [c] *anns an ionad shònraichte.*

ann: ma's dia e, tagradh e air a shon
féin, a chionn gu'n do thilgeadh sìos
a'ltair.
32 Uime sin air an là sin féin thug
e Ierubaal mar ainm air, ag ràdh,
Tagradh Baal na aghaidh, a chionn
gu'n do thilg e sìos 'altair.
33 An sin bha na Midianaich uile,
agus na h-Amalecich, agus clann na
h-airde 'n ear air cruinneachadh r'a
chéile, agus chaidh iad a nunn, agus
champaich iad ann an gleann Jesreeil.
34 Ach thàinig spiorad an Tigh-
earn air Gideon agus shéid e trom-
paid, agus ghairm e Abiesér na
dhéigh.
35 Agus chuir e teachdairean air
feadh Mhanaseh uile, a chruinnich-
eadh mar an ceudna na dhéigh: agus
chuir e teachdairean gu h-Aser, agus
gu Sebulun, agus gu Naphtali, agus
thàinig iad a nìos nan coinneamh.
36 Agus thubhairt Gideon ri Dia,
Ma shaoras tu Israel le m' làimh-sa,
mar a thubhairt thu,
37 Feuch, cuiridh mi lomradh olla
air an urlar-bhualaidh; *agus* ma bhios
an drùchd air an lomradh a mhàin, a-
gus tiormachd air an talamh uile, an
sin bithidh fios agam gu'n saor thu
Israel le'm làimh, mar a thubhart
thu.
38 Agus bha e mar sin: oir
dh'éirich e gu moch air an la màir-
each, agus theann e 'n lomradh cuid-
eachd, agus dh'fhàisg e 'n drùchd as
an lomradh, làn cuaich a dh'uisge.
39 Agus thubhairt Gideon ri Dia,
Na biodh do chorruich teth a'm'
aghaidh, agus labhraidh mi a mhàin
an aon uair so: leig dhomh dearbhadh,
guidheam ort, an uair so a mhàin leis
an lomradh; bitheadh a nis tiormachd
air an lomradh a mhàin, agus air an
talamh uile bitheadh drùchd.
40 Agus rinn Dia mar sin air an
oidhche sin: agus bha tiormachd air
an lomradh a mhàin, agus air an
talamh uile bha drùchd.

C A I B. VII.

AN SIN dh'éirich Ierubaal, (eadhon
Gideon) agus an sluagh uile a
bha maille ris, suas gu moch, agus
champaich iad làimh ri tobar Haroid:
agus bha feachd nam Midianach air
an taobh mu thuath dhiubh, làimh
ri sliabh Mhoreh anns a' ghleann.
2 Agus thubhairt an Tighearna
ri Gideon, *Tha*'n sluagh a tha maille
riut tuille's lìonmhor gu mise a thoirt
nam Midianach nan làimh, air eagal
gu'n deanadh Israel uaill a'm' aghaidh,
ag ràdh, Shaor mo làmh féin mi.
3 Agus a nis uime sin gairm ann
an cluasaibh an t-sluaigh, ag ràdh,
Ge b'e neach air am bheil eagal agus
geilt, pilleadh e; agus imicheadh e
gu moch o shliabh Ghilead: agus
phill do'n t-sluagh dà mhìle thar
fhichead, agus dh'fhan deich mìle.
4 Agus thubhairt an Tighearna ri
Gideon, *Tha*'n sluagh fathast tuille's
lìonmhor; thoir sìos iad a dh'ionn-
suidh an uisge, agus dearbhaidh mise
dhuit iad an sin: agus tarlaidh, ge b'e
fear mu'n abair mise riut, Théid am
fear so maille riut, gu'n dthéid esan
maille riut; agus ge b'e *fear* mu'n
abair mi riut, Cha dthéid am *fear* so
maille riut, nach dthéid esan aon.
5 Mar sin thug e sìos an sluagh a
dh'ionnsuidh an uisge: agus thubhairt
an Tighearna ri Gideon, Gach aon a
dh'imlicheas[a] an t-uisge le 'thean-
gaidh, mar a dh'imlicheas cù, cuiridh
tu esan air leth; mar an ceudna gach
aon a chromas sìos air a ghlùinibh a'
dh'òl.
6 Agus b'e àireamh na muinntir a
dh'imlich, *a' cur* an làimhe r'am beul,
tri cheud fear: ach chrom a' chuid
eile uile do'n t-sluagh sìos air an glùin-
ibh a dh'ol uisge.
7 Agus thubhairt an Tighearna ri
Gideon, Leis an tri cheud fear so a
dh'imlich, saoraidh mise sibh, agus
bheir mi na Midianaich thairis do d'
làimh: agus rachadh am mòr shluagh
uile, gach duine d'a àite féin.
8 Agus ghabh an sluagh lòn nan
làimh, agus an trompaidean: agus
gach fear *eile* do Israel chuir e air falbh,
gach aon d'a bhùth, agus ghléidh e
an tri cheud fear so: agus bha sluagh
Mhidiain fuidhe anns a' ghleann.
9 Agus air an oidhche sin féin thu-
bhairt an Tighearna ris, Eirich, falbh
sìos

[a] *ligheas.* Eir.

sìos a dh'ionnsuidh an fheachd, oir
thug mise thairis e do d' làimh.
10 Ach ma ta eagal ort dol sìos,
falbh-sa agus Phurah t'òglach sìos a
dh'ionnsuidh an fheachd:
11 Agus cluinnidh tu ciod a their
iad, agus na dhéigh sin neartaichear
do làmhan, agus théid thu sìos a
dh'ionnsuidh an fheachd. An sin
chaidh e sìos maille ri Phurah 'òglach,
gu taobh a muigh nan daoine arm-
aichte a *bha* san fheachd.
12 Agus bha na Midianaich, agus
na h-Amalecich, agus clann na h-aird'
an ear uile nan luidhe sa' ghleann
mar na locuist air lìonmhoireachd;
agus *bha* an càmhail gun àireamh,
mar an gaineamh a *tha* air tràigh na
fairge air lìonmhoireachd.
13 Agus an uair a thàinig Gideon,
feuch, *bha* duine ag innseadh aislinge
d'a chompanach, agus thubhairt e,
Feuch, Chunnaic mi aisling, agus
feuch, thàinig breacag a dh'aran
eorna car air char a stigh do champ
Mhidiain, agus thàinig i gu bùth, a-
gus bhuail i e, agus thuit e, agus
thilg i bun os ceann e, agus thuit am
bùth sìos.
14 Agus fhreagair a chompanach,
agus thubhairt e, Cha ni sam bith
so ach claidheamh Ghideoin mhic
Ioais, duine do Israel: thug Dia
thairis d'a làimh-san Midian, agus an
sluagh uile.
15 Agus an uair a chuala Gideon
aithris na h-aislinge, agus a h-eadar-
mhìneachadh, rinn e aoradh: agus
phill e gu feachd Israeil, agus thu-
bhairt e, Eiribh, oir thug an Tigh-
earna thairis d'ar làimh feachd Mhi-
diain.
16 Agus roinn e 'n tri cheud fear
nan tri chuideachdaibh, agus chuir e
trompaid ann an làimh gach aoin
diubh, maille ri soithichibh falamh,
agus lòchranaibh anns na soithichibh.
17 Agus thubhairt e riu, Amh-
aircibh ormsa, agus deanaibhse mar
an ceudna: agus feuch, an uair a
thig mi gu taobh a mach a' chaimp,
tarlaidh mar a ni mise, mar sin gu'n
dean sibhse.

18 'Nuair a shéideas mise le trom-
paid, mi féin agus iadsan uile a *tha*
maille rium, an sin séidibhse na trom-
paidean mar an ceudna mu thimchioll
a' chaimp uile, agus abraibh, *Claidh-
eamh* an Tighearna, agus Ghideoin.
19 Mar sin thàinig Gideon agus
an ceud fear a *bha* maille ris, gu taobh
a mach a' chaimp, ann an toiseach na
faire meadhonaich; agus cha robh iad
ach air ùr-shuidheachadh na faire; a-
gus bhris iad na soithichean a *bha* nan
làimh.
20 Agus shéid na tri chuideachdan
na trompaidean, agus bhris iad na
soithichean, agus chum iad na lòch-
rain nan làimh chli, agus na trom-
paidean nan làimh dheis gu séideadh
leo: agus ghlaodh iad, Claidheamh
an Tighearna, agus Ghideoin.
21 Agus sheas iad gach duine na
àite féin mu thimchioll a' chaimp:
agus bhriseadh [a] am feachd uile, agus
ghlaodh iad, agus theich iad.
22 Agus shéid an tri cheud na
trompaidean, agus chuir an Tigh-
earna claidheamh gach duine an agh-
aidh a chompanaich, eadhon air feadh
an fheachd uile: agus theich an sluagh
gu Bet-sitah ann an Sererat, *agus* gu
crìch Abeil-mheholah, làimh ri Tabat.
23 Agus chruinnicheadh fir Israeil
r'a chéile a Naphtali, agus a h-Aser,
agus a Manaseh uile, agus chaidh iad
air tòir nam Midianach.
24 Agus chuir Gideon teachdairean
air feadh shléibh Ephraim uile, ag ràdh,
Thigibh a nuas an aghaidh nam Mi-
dianach, agus glacaibh rompa na
h-uisgeacha gu Bet-barah agus Ior-
dan. An sin chruinnicheadh fir Eph-
raim uile re chéile. agus ghlac iad na
h-uisgeacha gu Bet-barah agus Ior-
dan.
25 Agus ghlac iad dà cheannard
nam Midianach, Oreb agus Seeb; a-
gus mharbh iad Oreb air carraig
Oreib, agus Seeb mharbh iad aig
amar-bruthaidh fìona Sheeib, agus
chaidh iad air tòir Mhidiain, agus
thug iad cinn Oreib agus Sheeib gu
Gideon air an taobh eile do Iordan.

CAIB.

ruith.

C A I B. VIII.

AGUS thubhairt fir Ephraim ris, Ciod é an ni ſo a rinn thu oirnn, *nach do ghairm thu oirnn an uair a* chaidh thu a chogadh an aghaidh nam Midianach? agus throid iad ris gu geur.

2 Agus thubhairt e riu, Ciod a nis a rinn miſe mar *a rinn* ſibhſe? Nach fearr dìoghluim[a] fhìon-dhearcan Ephraim na fìon-fhoghara Abieſeir?

3 Thug Dia thairis d'ar làimh ceannardan Mhidiain, Oreb agus Seeb: agus ciod a b'urrainn mis' a dheanamh mar *a rinn* ſibhſe? An ſin thraogh am fearg ris, an uair a thubhairt e ſin.

4 Agus thàinig Gideon gu Iordan, *agus* chaidh e thairis, e féin, agus an tri cheud fear a *bha* maille ris, ſgìth, gidheadh air *an* tòir.

5 Agus thubhairt e ri fir Shucoit, Thugaibh, guidheam oirbh, builinnean arain do'n t-ſluagh a *tha* 'gam leantuinn[b], oir *tha* iad ſgìth, agus *tha* mi air tòir Sheba agus Shalmuna, righre Mhidiain.

6 Agus thubhairt ceannardan Shucoit, Am *bheil* làmhan Sheba agus Shalmuna nis ann a'd' làimh, gu'n dthugamaid aran do d' armailt?

7 Agus thubhairt Gideon, Uime ſin an uair a bheir an Tighearna Seba agus Salmuna thairis do m' làimh, an ſin reubaidh mi bhur feoil le ſgiothach an fhàſaich, agus le driſibh.

8 Agus chaidh e ſuas a ſin gu Penuel, agus labhair e riuſan air a' mhodh cheudna: agus fhreagair daoine Phenueil e, mar a fhreagair daoine Shucoit.

9 Agus labhair e cuideachd ri daoinibh Phenueil, ag ràdh, 'Nuair a thig mi a rìs ann an sìth, briſidh mi sìos an tùr ſo.

10 A nis *bha* Seba agus Salmuna ann an Carcor, agus an ſlòigh maille riu, mu thimchioll cùig mìle deug *fear*, an t-iomlan a dh'fhàgadh do ſhlòigh cloinne na h-àird' an ear uile: oir thuit ceud agus fichead mìle fear a tharruing claidheamh.

11 Agus chaidh Gideon ſuas air ſlighe na muinntir a tha nan còmhnuidh ann am bùthaibh, air an làimh an ear do Nobah, agus do Iogbehah, agus bhuail e 'n ſluagh; oir bha 'n ſluagh gun umhaill.

12 Agus an uair a theich Seba agus Salmuna, chaidh e air an tòir, agus ghlac e dà righ Mhidiain, Seba agus Salmuna, agus chuir e geilt air an t-ſluagh uile.

13 Agus phill Gideon mac Ioais o'n chath roimh *éirigh* na gréine[c],

14 Agus ghlac e òig-fhear do dhaoinibh Shucoit, agus dh'fhiosraich e dheth: agus ſcrìobh e dha *ainmean* cheannardan Shucoit, agus a ſheanairean, tri fichead agus ſeachd fir dheug.

15 Agus thàinig e gu fir Shucoit, agus thubhairt e, Feuchaibh, Seba agus Salmuna a thilg ſibh ſuas orm, ag ràdh, Am *bheil* làmhan Sheba agus Shalmuna nis a'd'làimh, gu'n dthugamaid aran do d' dhaoinibh a *tha* ſgìth?

16 Agus ghlac e ſeanairean a' bhaile, agus *ghabh e* ſgiothach an fhàſaich, agus driſean, agus leo ſo reub[d] e fir Shucoit.

17 Agus leag e sìos tùr Phenueil, agus mharbh e fir a' bhaile.

18 An ſin thubhairt e ri Seba agus ri Salmuna, Ciod a' ghnè dhaoine a mharbh ſibh ann an Tabor? Agus fhreagair iad, Mar *a ta* thuſa, is amhuil *a bha* iadſan, gach aon coſmhuil ri cloinn righ.

19 Agus thubhairt e, *B'iad ſin* mo bhràithrean-ſa, mic mo mhàthar: *mar* is beo an Tighearna, nan gleidheadh ſibh beo iadſan, cha mharbhainn ſibhſe.

20 Agus thubhairt e ri Ieter a cheud-ghin, Eirich, marbh iad: ach cha do tharruing an t-òganach a chlaidheamh; oir bha eagal air, a chionn gu'n robh e fathaſt na òganach.

21 An ſin thubhairt Seba agus Salmuna, Eirich féin agus buail oirnn: oir mar an duine, *tha* a neart. Agus

[a] *gleaning*. Saſg. [b] *aig mo chois*. Eabh. [c] *Hares*. Eabh.
[d] *ſmachdaich*, *theagaiſg*.

dh'éirich Gideon, agus mharbh e Seba agus Salmuna, agus thug e leis na h-usgraichean a *bh*'air amhaichibh an càmhalan.

22 An sin thubhairt fir Israeil ri Gideon, Bi-sa a'd' uachdaran oirnn, thu féin, agus do mhac, agus mac do mhic mar an ceudna; oir shaor thu sinn a làimh Mhidiain.

23 Agus thubhairt Gideon riu, Cha bhi mis' a'm' uachdaran oirbh, ni mò a bhios mo mhac na uachdaran oirbh: bithidh an Tighearna na uachdaran oirbh.

24 Agus thubhairt Gideon riu, Dh'iarruinn aon athchuinge oirbh, gu'n dthugadh gach duine dhibh cluas-fhàinnean a chreiche dhomh; (oir bha cluas-fhàinnean òir aca, a chionn gu'*m b*' Ismaelich iad.)

25 Agus fhreagair iad, Bheir sinne gu toileach *dhuit iad.* Agus sgaoil iad eudach, agus thilg iad an sin, gach duine cluas-fhàinnean a chreiche.

26 Agus b'e cothrom nan cluas-fhàinnean òir a dh'iarr e mìle agus seachd ceud *secel* òir, a thuilleadh air usgraichibh, agus cluigeinibh, agus eudach corcuir a *bh*'air righribh Mhidiain, agus a thuilleadh air na slabhraidhibh a *bh'* air amhaichibh an càmhalan.

27 Agus rinn Gideon ephod dheth, agus chuir e i na bhaile féin, *eadhon* ann an Ophrah; agus chaidh Israel uile an sin le strìopachas na déigh; agus rinneadh *sin* na ribe do Ghideon agus d'a thigh.

28 Mar so chìosnaicheadh Midian roimh chloinn Israeil, agus cha do thog iad an ceann tuilleadh: agus bha sois aig an tìr rè dhà fhichead bliadhna ann an laithibh Ghideoin.

29 Agus chaidh Ierubaal mac Ioais, agus ghabh e còmhnuidh na thigh féin.

30 Agus bha aig Gideon deichnear agus tri fichead mac a thàinig o 'leasraidh féin; oir bha mòran bhan aige.

31 Agus a choimh-leabach[a] a *bha* ann an Sechem, rug ise mar an ceudna mac dha, air an d'thug e Abimelech mar ainm.

32 Agus fhuair Gideon mac Ioais bàs ann an deagh shean aois, agus dh'adhlaiceadh e ann an uaigh Ioais 'athar, ann an Ophrah nan Abiesrach.

33 Agus co-luath 'sa fhuair Gideon bàs, phill clann Israeil a rìs, agus chaidh iad le strìopachas an déigh Bhaalim, agus rinn iad Baal-berit na dhia dhoibh féin.

34 Agus cha do chuimhnich clann Israeil an Tighearn an Dia, a shaor iad a làimh an naimhdean uile air gach taobh:

35 Ni mò a nochd iad caoimhneas do thigh Ierubaail, *eadhon* Ghideoin, a réir a' mhaitheis *sin* uile a nochd e do Israel.

CAIB. IX.

AGUS chaidh Abimelech mac Ierubaail do Shechem, gu bràithribh a mhàthar, agus labhair e riu, agus ri teaghlach tighe 'athar a mhàthar uile, ag ràdh,

2 Labhraibh, guidheam oirbh, ann an cluasaibh mhaithean[b] Shecheim uile, Cia dhiubh *is* fearr dhuibh tri fichead agus deichnear fhear (*eadhon* mic Ierubaail uile) a bhi nan uachdarain oirbh, no aon fhear a bhi na uachdaran oirbh? cuimhnichibh mar an ceudna gur mise bhur cnàimh agus bhur feoil.

3 Agus labhair braithrean a mhàthar uime ann an cluasaibh mhaithean Shecheim uile na briathra sin uile: agus dh'aom an cridheachan an déigh Abimeleich; oir thubhairt iad, *Is* e ar bràthair e.

4 Agus thug iad da tri fichead agus deich *buinn* airgid, a tigh Bhaail-berit; leis an do thuarasdalaich Abimelech daoine faoin[c] agus eutrom, a lean e.

5 Agus chaidh e gu tigh 'athar ann an Ophrah, agus mharbh e a bhràithre mic Ierubaail, *eadhon* deichnear agus tri fichead fear, air aon chloich: gidheadh, dh'fhàgadh Iotam am mac a b'òige aig Ierubaal; oir dh'fholaich se e féin.

6 Agus chruinnich maithean Shecheim uile r'a chéile, agus tigh Mhilo uile, agus chaidh iad agus rinn iad Abimelech

[a] *leannan.* [b] *dhaoine, luchd-àiteachaidh.* [c] *folamh.* Eabh.

Abimelech na righ làimh ri còmhnard[a] a' charraigh[b] a *bha* ann an Sechem.

7 Agus an uair a dh'innis iad *so* do Iotam, chaidh e agus sheas e air mullach sléibh Gherisim, agus thog e suas a ghuth, agus ghlaodh e, agus thubhairt e riu, Eisdibh riumsa, sibhse a mhaithean Shecheim, a chum as gu'n éisd Dia ribhse.

8 Chaidh na craobhan a mach *air àmàraidh* a dh'ungadh righ os an cionn féin, agus thubhairt iad ris a' chrann-olaidh, Bi-sa a'd' righ oirnn.

9 Ach thubhairt an crann-olaidh riu, Am fàgainnse mo reamhrachd, leis am bheil iad leam-sa toirt urraim do Dhia agus do dhuine, agus an rachainn gu bhi air m'ardachadh[c] os cionn nan craobh?

10 Agus thubhairt na craobhan ris a' chrann-fhìge, Thig-sa' *agus* bi d' righ oirnn.

11 Ach thubhairt an crann-fìge riu, Am fàgainnse mo mhillseachd, agus mo dheagh mheas, agus an rachainn gu bhi air m'ardachadh os cionn nan craobh?

12 Agus thubhairt na craobhan ris an fhìonain[d], Thig-sa, *agus* bi d' righ oirnn.

13 Agus thubhairt an fhìonain riu, Am fàgainnse m'fhìon, a tha toirt subhachais do Dhia agus do dhuine, agus an rachainn gu bhi air m'ardachadh os cionn nan craobh?

14 An sin thubhairt na craobhan uile ris an dris[e], Thig-sa, agus bi d' righ oirnn.

15 Agus thubhairt an dris ris na craobhan, Ma's e is da rìreadh gu'n ung sibh mise a'm' righ oirbh, thigibh, cuiribh bhur dòchas[f] a'm' sgàile-sa: agus mur *dean sibh sin*, thigeadh teine mach as an dris, agus loisgeadh e seudair[g] Lebanoin.

16 A nis uime sin, ma rinn sibh gu firinneach agus gu tréibh-dhireach an uair a rinn sibh Abimelech na righ, agus ma bhuin sibh gu maith ri Ierubaal agus r'a thigh, agus ma rinn sibh ris a réir toillteanais a làimh.

17 (Oir chog m'athair-sa air bhur son, agus chuir e 'anam ann an cunart mòr, agus shaor e sibh a làimh Mhidiain:

18 Agus tha sibh air éirigh suas an aghaidh tighe m'atharsa an diugh, agus mharbh sibh a mhic, tri fichead agus deichnear fhear, air aon chloich, agus rinn sibh Abimelech mac a bhanoglaich na righ os cionn mhaithean Shecheim, a chionn gur *e* bhur bràthair e.)

19 Uime sin ma bhuin sibh gu fìrinneach agus gu tréibhdhireach ri Ierubaal agus r'a thigh an diugh, deanaibh gairdeachas ann an Abimelech agus deanadh esan mar an ceudna gairdeachas annaibhse:

20 Ach *mur do rinn sibh mar sin*, thigeadh teine a mach o Abimelech, agus loisgeadh e maithean Shecheim agus tigh Mhilo: agus thigeadh teine a mach o mhaithibh Shecheim, agus o thigh Mhilo, agus loisgeadh e Abimelech.

21 Agus ruith Iotam air falbh, agus theich e, agus chaidh e gu Beer, agus ghabh e còmhnuidh an sin, air eagal Abimeleich a bhràthar.

22 Agus rìoghaich Abimelech tri bliadhna air Israel.

23 Agus chuir Dia droch spiorad eadar Abimelech agus maithean Shecheim; agus bhuin maithean Shecheim gu fealltach ri Abimelech:

24 A chum gu'n dthigeadh an ainneart[h] a rinneadh air deichnear agus tri fichead mac Ierubaail, agus gu'n luidheadh am fuil air Abimelech am bràthair a mharbh iad, agus air maithibh Shecheim a neartaich a làmhan ann am marbhadh a bhràithrean.

25 Agus chuir maithean Shecheim luchd feall-fholach air a shon air mullaichibh nam beann, agus rinn iad reubainn air gach neach a chaidh seachad orra san t-slighe sin: agus dh'innseadh sin do Abimelech.

26 Agus thàinig Gaal mac Ebeid agus a bhraithrean, agus chaidh iad thairis gu Sechem: agus chuir maithean Shecheim an dòchas ann.

[a] *doraig, doire.* [b] *an fhreicead sin.* [c] *gu mi féin a chrathadh.* Eabh.
[d] *ris a' chrann-fhìona.* [e] *droighionn; atad.* Eabh. [f] *earbsadh, muinghin.*
[g] *ceudair.* [h] *an t-ain-iochd.*

27 Agus chaidh iad a mach do'n fhearann, agus chruinnich iad toradh am fion-liosan, agus bhrùth iad *na fion-dhearcan*, agus rinn iad gairdeachas[a], agus chaidh iad a steach do thigh an dé, agus dh'ith agus dh'òl iad, agus mhallaich iad Abimelech.

28 Agus thubhairt Gaal mac Ebeid, Cò e Abimelech, agus, cò e Sechem, gu'n deanamaidne seirbhis da? nach *e* mac Ierubaail *e*, agus Sebul ceannard a shlóigh? deanaibh seirbhis do dhaoinibh Hamoir athar Shecheim: oir c'arson a dheanamaid seirbhis dhasan?

29 Agus b'e mo ghuidhe gu'n dtbugta an sluagh so do m' làimh-sa, an sin dh'atharraichinn Abimelech. Agus thubhairt e ri Abimelech, Meudaich t'armailt, agus thig a mach.

30 Agus an uair a chuala Sebul uachdaran a' bhaile briathra Ghaail mhic Ebeid, làs a chorruich.

31 Agus chuir e teachdairean gu Abimelech os ìosal, ag ràdh, Feuch thàinig Gaal mac Ebeid agus a bhràithre do Shechem; agus feuch, *tha* iad a' teannachadh a' bhaile a'd' aghaidh.

32 A nis uime sin éirich suas san oidhche, thu féin agus an sluagh a *ta* maille riut, agus dean feall-fholach anns an fhearann.

33 Agus anns a' mhaduinn mu éirigh na gréine, éiridh tu gu moch, agus bheir thu ionnsuidh air a' bhaile: agus feuch, '*nuair* a thig e féin agus an sluagh a *tha* maille ris a mach a'd' aghaidh, an sin ni thu orra mar a bhios a'd' chomas[b].

34 Agus dh'éirich Abimelech suas, agus an sluagh uile a *bha* maille ris, san oidhche, agus rinn iad feall-fholach an aghaidh Shecheim, nan ceithir chuideachdaibh.

35 Agus chaidh Gaal mac Ebeid a mach, agus sheas e ann an dol a stigh geataidh a' bhaile. Agus dh'éirich Abimelech, agus an sluagh a *bha* maille ris, o'n fheall-fholach.

36 Agus an uair a chunnaic Gaal an sluagh, thubhairt e ri Sebul, Feuch, *tha* sluagh a' teachd a nuas o mhullach nam beann. Agus thubhairt Sebul ris, *Tha* thu faicinn sgàile nam beann mar dhaoine.

37 Agus labhair Gaal a rìs, agus thubhairt e, Feuch, *tha* sluagh a' teachd a nuas o mheadhon na tìre, agus *tha* cuideachd eile a' teachd air an aghaidh rathad còmhnaird[c] Mhehonenim.

38 An sin thubhairt Sebul ris, C'àite nis *am bheil* do bheul, leis an dubhairt thu, Cò e Abimelech, gu'n deanamaid seirbhis da? nach *e* so an sluagh air an d'rinn thu tàir? falbh a mach, guidheam ort a nis, agus cog riu.

39 Agus chaidh Gaal a mach roimh mhaithean Shecheim, agus chog e ri Abimelech.

40 Agus chuir Abimelech an ruaig air, agus theich e roimhe, agus thuit mòran a chaidh leònadh, *eadhon* gu ruig dol a stigh a' gheataidh.

41 Agus ghabh Abimelech còmhnuidh ann an Arumah; agus dh'fhuadaich Sebul a mach Gaal agus a bhràithrean, a chum nach gabhadh iad còmhnuidh ann an Sechem.

42 Agus air an là màireach chaidh an sluagh a mach do'n mhachair, agus dh'innis iad *sin* do Abimelech.

43 Agus ghabh e'n sluagh, agus roinn e iad nan tri chuideachdaibh, agus rinn e feall-fholach sa' mhachair, agus dh'amhairc e, agus feuch, *bha*'n sluagh air dol a mach as a' bhaile, agus dh'éirich e nan aghaidh, agus bhuail e iad.

44 Agus thug Abimelech agus a' chuideachd a *bha* maille ris ionnsuidh, agus sheas iad ann an dol a stigh geataidh a' bhaile: agus thug an dà chuideachd *eile* ionnsuidh orra-san uile a *bha* sa' mhachair, agus bhuail siad iad.

45 Agus chog Abimelech an aghaidh a' bhaile rè an là sin, agus ghlac e 'm baile, agus mharbh e 'n sluagh a *bh*'ann, agus leag e sìos am baile, agus chuir e le salann e.

46 Agus an uair a chual' uile mhuinntir[d] tùir Shecheim, *sin*, chaidh iad

iad

[a] *cantaireachd; elulim.* Eabh.
[b] *mar a gheibh do làmh.* Eabh.
[c] *daraige.*
[d] *dhaoine.*

iad a steach do dhaingneach tighe an
dé Bherit.
47 Agus dh'innseadh do Abimelech,
gu'n robh uile mhuinntir tùir She-
cheim air cruinneachadh r'a chéile.
48 Agus chaidh Abimelech suas
gu sliabh Shalmoin, e féin agus an
sluagh uile a *bha* maille ris; agus ghlac
Abimelech tuagh 'na làimh, agus ghearr
e sios geug o na craobhan, agus
ghabh e i, agus chuir e air a ghual-
ainn *i*, agus thubhairt e ris an t-sluagh
a *bha* maille ris, An ni a chunnaic sibh
mise a' deanamh, greasaibh, deanaibh
mar *a rinn* mise.
49 Agus ghearr mar an ceudna an
sluagh uile sios gach duine a gheug,
agus lean iad Abimelech, agus chuir
iad ris an daingneach *iad*, agus chuir
iad an daingneach ri theine orra:
mar sin fhuair daoine tùir Shecheim
bàs uile mar an ceudna, mu thimchioll
mìle fear agus bean.
50 An sin chaidh Abimelech gu
Tebes, agus champaich e 'n aghaidh
Thebeis, agus ghlac se e.
51 Ach bha tùr làidir ann am
meadhon a' bhaile, agus gu sin theich
na fir agus na mnài uile, agus muinn-
tir a' bhaile uile, agus dhùin iad
orra féin *e*, agus chaidh iad suas air
mullach an tùir.
52 Agus thàinig Abimelech gu
ruig an tùr, agus chog e na aghaidh,
agus dhlùthaich e ri dorus an tùir a
chum a losgadh le teine.
53 Agus thilg bean àraidh mìr do
chloich-mhuilinn air ceann Abime-
leich, agus bhris i a chlaigionn.
54 An sin ghairm e gu luath air
an òganach a bha 'g iomchar 'arm, a-
gus thubhairt e ris, Tarruing do
chlaidheamh, agus marbh mi, air
eagal gu'n abair iad umam, Mharbh
bean e. Agus shàth an t-òganach
aige troimhe e, agus fhuair e bàs.
55 Agus an uair a chunnaic fir
Israeil gu'n d'fhuair Abimelech bàs,
dh'imich iad *gach* fear d'a àite féin.
56 Agus dhìol Dia olc Abimeleich,
a rinn e air 'athair, le 'thri fichead a-
gus a dheichnear bhràithrean a
mharbhadh.
57 Agus uile olc dhaoine Shecheim
dhìol Dia air an ceann féin: agus
thàinig orra mallachadh Iotaim mhic
Ierubaail.

C A I B. X.

AGUS dh'éirich an déigh Abime-
leich, a shaoradh Israeil, Tola
mac Phuah, mhic Dhodo, duine do
Isachar; agus *bha* e chòmhnuidh ann
an Samir, ann an sliabh Ephraim.
2 Agus thug e breth air Israel trì
bliadhna fichead: agus fhuair e bàs,
agus dh'adhlaiceadh e ann an Samir.
3 Agus dh'éirich na dhéigh-san
Iair, Gileadach, agus thug e breth
air Israel dà bliadhna thar fhichead.
4 Agus bha deich thar fhichead
mac aige, a mharcaich air deich thar
fhichead asal òg; agus *bha* deich thar
fhichead baile aca, air an d'thugadh
Habhot-iair mar ainm gu ruig an
la'n diugh, a *tha* ann an tìr Ghilead.
5 Agus fhuair Iair bàs, agus
dh'adhlaiceadh e ann an Camon.
6 Agus rinn clann Israeil a ris olc
ann an sùilibh an Tighearna, agus
rinn iad seirbhis do Bhaalim, agus do
Astarot, agus do dhéibh Shiria, agus
do dhéibh Shidoin, agus do dhéibh
Mhoaib, agus do dhéibh chloinn
Amoin, agus do dhéibh nam Phi-
listeach: agus thréig iad an Tigh-
earna, agus cha d'rinn iad seirbhis
dha.
7 Agus las fearg an Tighearn an
aghaidh Israeil, agus thug e thairis [a]
iad do làimh nam Philisteach, agus
do làimh chloinn Amoin.
8 Agus chlaoidh agus rinn iad [b]
foirneart air cloinn Israeil anns an àm
sin rè ochd bliadhna deug, air cloinn
Israeil uile a *bh'* air an taobh eile
do Iordan, ann an tìr nan Amorach,
a *tha* ann an Gilead.
9 Agus chaidh clann Amoin thar
Iordan a chogadh mar an ceudna 'n
aghaidh Iudah, agus an aghaidh Bhen-
iamin, agus an aghaidh tighe Ephraim:
agus bha Israel ann an teanndachd
ro-mhòir.
10 Agus ghlaodh clann Israeil ris
an Tighearna, ag ràdh, Pheacaich
sinn a't' aghaidh, an dà chuid a chionn
gu'n do thréig sinn ar Dia, agus gu'n
d'rinn sinn seirbhis do Bhaalim.

[a] *reic e.* Eabh.

[b] *clann Amoin.*

11 Agus thubhairt an Tighearna ri cloinn Israeil, Nach *do shaor mise sibh* o na h-Eiphitich, agus o na h-Amoraich, o chloinn Amoin, agus o na Philistich?

12 Rinn mar an ceudna na Sidonaich, agus na h-Amalecich, agus na Maonaich[a] foirneart oirbh, agus ghlaodh sibh riumsa, agus shaor mi sibh as an làimh.

13 Gidheadh thréig sibh mi, agus rinn sibh seirbhis do dhéibh eile: uime sin cha saor mi sibh ni's mò.

14 Rachaibh agus gairmibh air na déibh a roghnuich sibh: saoradh iad sibh ann an àm bhur teanndachd.

15 Agus thubhairt clann Israeil ris an Tighearna, Pheacaich sinn; deansa ruinn a réir gach *ni* a *ta* maith a'd' shùilibh: a mhàin saor sinn, guidheamaid ort, air an la'n diugh.

16 Agus chuir iad air falbh' na diathan coimheach as am measg, agus rinn iad seirbhis do'n Tighearna: agus bha doilgheas air 'anam air son truaighe Israeil.

17 An sin ghairmeadh clann Amoin cuideachd, agus champaich iad ann an Gilead: agus chruinnich clann Israeil iad féin an ceann a chéile, agus champaich iad ann am Mispeh.

18 Agus thubhairt an coimhchruinneach[b], uachdarain Ghilead, gach aon ri chéile, Cia am fear sin a thòisicheas ri cogadh an aghaidh chloinn Amoin? bithidh esan na cheann air uile luchd-àiteachaidh Ghilead.

CAIB. XI.

Anis bha Iephtah an Gileadach treun ann an neart, agus *bu* mhac striopaiche e: agus ghin Gilead Iephtah.

2 Agus rug bean Ghilead mic dha; agus dh'fhàs mic a mhnà suas, agus thilg iad a mach Iephtah, agus thubhairt iad ris, Cha'n fhaigh thu oighreachd ann an tigh ar n-atharne, oir *is* mac mnà coimhich[c] thu.

3 An sin theich Iephtah o 'bhràithribh[d], agus ghabh e còmhnuidh ann an tìr Thoib: agus chruinnicheadh daoine faoin gu Iephtah, agus chaidh iad a mach maille ris.

4 Agus an ceann laithean àraidh, chog clann Amoin ri h-Israel.

5 Agus an uair a chog clann Amoin ri h-Israel, chaidh seanairean Ghilead a thoirt Iephtah a tìr Thoib.

6 Agus thubhairt iad ri Iephtah, Thig agus bi a'd' cheannard oirnn, agus cogaidh sinn an aghaidh chloinn Amoin.

7 Agus thubhairt Iephtah ri seanairibh Ghilead, Nach d'fhuathaich sibh mi, agus nach do thilg sibh a mach mi a tigh m'athar? agus c'ar son a thàinig sibh a'm'ionnsuidh a nis, an uair *a tha* sibh ann an teanntachd?

8 Agus thubhairt seanairean Ghilead ri Iephtah, Uime sin phill sinn a nis a'd' ionnsuidh, a chum as gu'n dthéid thu maille ruinn, agus gu'n cog thu 'n aghaidh chloinn Amoin, agus gu'm bi thu a'd cheann oirnn, *eadhon* air uile luchd-àiteachaidh Ghilead.

9 Agus thubhairt Iephtah ri seanairibh Ghilead, Ma bheir sibh air m'ais mi a chogadh an aghaidh chloinn Amoin, agus gu'n dthoir an Tighearna thairis iad a'm' fhianuis, am bi mise a'm' cheann oirbh?

10 Agus thubhairt seanairean Ghilead ri Iephtah, Bitheadh an Tighearna na fhianuis eadaruinn, gu'n dean sinne mar sin, a réir t'fhocail.

11 Agus chaidh Iephtah maille ri seanairibh Ghilead, agus rinn an sluagh[e] e na cheann orra, agus na cheannard. Agus labhair Iephtah a bhriathran uile an làthair an Tighearn ann am Miseph.

12 Agus chuir Iephtah teachdairean a dh'ionnsuidh righ chloinn Amoin, ag ràdh, Ciod e do gnothuch-sa riumsa, gu'n d'thàinig thu a'm' aghaidh a chogadh ann am thìr?

13 Agus thubhairt righ chloinn Amoin ri teachdairibh Iephtah, A chionn gu'n do ghlac Israeil m'fhearann an uair a thàinig iad a nios as an *Eiphit*, o *Arnon* gu ruig Iaboc, agus

[a] *Canaanaich.* [b] *sluagh.* Eabh. [c] *mac màthar eile.* [d] *o ghnùis a bhràithre.* Eabh. [e] *an co'-chruinneach.*

agus gu ruig Iordan; a nis uime ſin thoir thuſa air ais e[a] ann an ſìth.

14 Agus chuir Iephtah a rìs teachdairean a dh'ionnſuidh righ chloinn Amoin;

15 Agus thubhairt e ris, Mar ſo tha Iephtah ag ràdh, Cha do ghlac Iſrael fearann Mhoaib, no fearann chloinn Amoin:

16 Ach an uair a thàinig Iſrael a nìos as an Eiphit, agus a ghluais iad troimh 'n fhàſach gu ruig a' mhuir ruadh, agus a thàinig iad gu Cades;

17 An ſin chuir Iſrael teachdairean gu righ Edoim, ag ràdh, Leig dhuinn, guidheamaid ort, dol troimh t'fhearann: ach cha'n éiſdeadh righ Edoim. Agus mar an ceudna chuir iad *teachdairean* gu righ Mhoaib; ach cha d'aontaich e: agus dh'fhan Iſrael ann an Cades.

18 An ſin ghluais iad troimh 'n fhàſach, agus chuairtich iad tìr Edoim, agus tìr Mhoaib, agus thàinig iad o thaobh na h-airde 'n ear do thìr Mhoaib, agus champaich iad air an taobh eile do Arnon ach cha d'thàinig iad an taobh a ſtigh do chrìch Mhoaib: oir *b'e* Arnon crìoch Mhoaib.

19 Agus chuir Iſrael teachdairean gu Sihon righ nan Amorach, righ Heſboin; agus thubhairt Iſrael ris, Leig dhuinn, guidheamaid ort, gabhail troimh t'fhearann do'r n-àite féin.

20 Ach cha d'earb Sihon ri h-Iſrael gabhail tre 'chrìch: ach chruinnich Sihon a ſhluagh uile cuideachd, agus champaich iad ann an Iahas; agus chog e ri h-Iſrael.

21 Agus thug an Tighearna Dia Iſraeil Sihon agus a ſhluagh uile thairis do làimh Iſraeil, agus bhuail ſiad iad: agus ſhealbhaich Iſrael uile fhearann nan Amorach, luchd-àiteachaidh na tìre ſin.

22 Agus ſhealbhaich iad uile chrìocha nan Amorach, o Arnon gu ruig Iaboc, agus o'n fhàſach gu ruig Iordan.

23 Agus a nis thilg an Tighearna Dia Iſrael a mach na h-Amoraich a fianuis a ſhluaigh Iſraeil, agus am bu chòir dhuitſe dol nan ſeilbh-ſan?

24 *An ni* ſin a bheir do dhia Chemos dhuit r'a ſhealbhachadh, nach ſealbhaich thuſa e? agus ge b'e neach a thilg an Tighearn ar Dia-ne mach romhainn, na ſheilbh-ſan théid ſinne.

25 Agus a nis am *bheil* thuſa ni's fearr na Balac, mac Shipoir, righ Mhoaib? an do rinn eſan riamh ſtrì ri h-Iſrael, *agus* an do chog e riamh nan aghaidh?

26 'Nuair a ghabh Iſrael còmhnuidh ann an Heſbon agus na bhailtibh, agus ann an Aroer agus na bhailtibh, agus anns na bailtibh uile a *tha* làimh ri Arnon, rè thri ceud bliadhna; c'ar ſon nach do bhuin ſibh air an ais *iad* anns an àm ſin.

27 Uime ſin cha do pheacaich miſe a'd' aghaidh, ach *tha* thuſa a deanamh eucoir ormſa[b] le cogadh a'm' aghaidh: thugadh an Tighearn am Breitheamh breth an diugh eadar clann Iſraeil agus clann Amoin.

28 Gidheadh cha d'éiſd righ chloinn Amoin ri briathraibh Iephtah, a chuir e d'a ionnſuidh.

29 Agus thàinig ſpiorad an Tighearn air Iephtah, agus chaidh e thairis gu Gilead agus Manaſeh, agus *o ſin* chaidh e thairis *gu* Miſpeh Ghilead, agus o Mhiſpeh Ghilead chaidh e thairis *gu* cloinn Amoin.

30 Agus bhòidich Iephtah bòid[c] do'n Tighearna, agus thubhairt e, Ma bheir thu gu cinnteach clann Amoin thairis do m' làimh,

31 An ſin tarlaidh, ge b'e ni a thig a mach a dorſaibh mo thighe a'm' choinneamh, 'nuair a philleas mi ann an ſìth o chloinn Amoin, gu cinnteach gur leis an Tighearn e, agus[d] ìobraidh mi dha ìobairt-loiſgte[e].

32 Agus chaidh Iephtah thairis gu cloinn Amoin a chogadh nan aghaidh; agus thug an Tighearna thairis iad d'a làimh.

33 Agus bhuail e iad o Aroer, eadhon gus an d'thig thu gu Minit, fichead baile[f], agus gu còmhnard nam fìon-lios, le àr[g] ro-mhòr. Mar ſo dh'irioſ-

[a] *iad.* Eabh. [b] *a' buntainn gu h-olc riumſa.* Eabh. [c] *mòid.* [d] *no.* [e] *bheir mi ſuas e mar ìobairt-loiſgte.* [f] *cathair, baile cuairtichte le balladh.* [g] *marbhadh.*

dh'irioslaicheadh clann Amoin am fianuis chloinn Israeil.

34 Agus thàinig Iephtah gu Mispeh d'a thigh, agus feuch, thàinig a nighean a mach na choinneamh le tiompanaibh agus le dannsaibh, agus *b' i* 'aon leanabh cloinne i: cha *robh* aige mac no nighean ach i.

35 Agus an uair a chunnaic e i, reub e 'eudach, agus thubhairt e, Och, mo nighean! is ro-ìosal a leag thu mi, agus is aon thu dhiubhsan a ta 'gam chlaoidh; oir dh'fhosgail mi mo bheul do'n Tighearna, agus cha'n fheud mi dol air m'ais.

36 Agus thubhairt ise ris, Athair, *ma* dh'fhosgail thu do bheul do'n Tighearna, dean riumsa a réir an ni a thàinig a mach as do bheul, o rinn an Tighearna dioghaltas air do shonsa air do naimhdibh, air cloinn Amoin.

37 Agus thubhairt i r'a h-athair, Deanar an ni so air mo shonsa, Leigear leam dà mhìos, a chum gu'n imich mi suas agus sìos air na beanntaibh, agus gu'n dean mi caoidh air son m'òigheachd, mi féin agus mo bhan-chompanacha.[a]

38 Agus thubhairt e, Imich. Agus leig e air falbh i *rè* dà mhìos: agus chaidh i maille r'a ban-chompanachaibh, agus rinn i caoidh air son a h-òigheachd air na beanntaibh.

39 Agus an ceann dà mhìos, phill i dh'ionnsuidh a h-athar, agus rinn e rithe *a réir* a bhòid a bhòidich e: agus cha robh aithne aice air fear. Agus bha e na ghnàth ann an Israel,

40 *Gu'n* rachadh nigheana Israeil o bhliadhna gu bliadhna a thoirt co'-fhurtachd do[a] nighinn Iephtah a' Ghileadaich, ceithir laithean sa' bhliadhna.

CAIB. XII.

AGUS chruinnicheadh fir Ephraim an ceann a chéile, agus chaidh iad thairis mu thuath[b], agus thubhairt iad ri Iephtah, C'ar son a chaidh thu thairis a chogadh an aghaidh chloinn Amoin, agus nach do ghairm thu oirnne gu dol maille riut? loisgidh sinn do thigh ort le teine.

2 Agus thubhairt Iephtah riu, Bha agamsa agus aig mo shluagh combstri mhòr ri cloinn Amoin; agus an uair a ghairm mi oirbh, cha do shaor sibh mi as an làimh.

3 Agus an uair a chunnaic mi nach do shaor sibh[c] *mi*, chuir mi m'anam a'm' làimh, agus chaidh mi a nunn[d] an aghaidh chloinn Amoin, agus thug an Tighearna thairis iad do m' làimh: c'ar son ma ta a tha sibh air teachd a nìos a m' ionnsuidhs' an diugh a chogadh a'm' aghaidh?

4 An sin chruinnich Iephtah cuideachd fir Ghilead uile, agus chog e ri h-Ephraim: agus bhuail fir Ghilead Ephraim a chionn gu'n dubhairt iad, *Is* luchd-fuadain do Ephraim, sibhse a Ghileadacha, am measg Ephraim, *agus* am measg Mhanaseh.

5 Agus ghlac na Gileadaich àthanna Iordain air na h-Ephraimich: agus an uair a thubhairt na h-Ephraimich sin a chaidh as, Leig dhomh dol thairis, thubhairt fir Ghilead ris, An Ephraimeach thu? Ma thubhairt esan, Cha 'n eadh;

6 An sin thubhairt iadsan ris, Abair a nis Schibolet; agus thubhairt esan Sibolet: oir cha b'urrainn e *a* ràdh mar sin[e]. An sin ghabh iad e, agus mharbh iad e aig àthannaibh Iordain: agus thuit anns an àm sin do na h-Ephraimich a dhà agus dà fhichead mìle.

7 Agus thug Iephtah breth air Israel sè bliadhna: an sin fhuair Iephtah an Gileadach bàs, agus dh'adhlaiceadh e ann an *aon do* bhailtibh[f] Ghilead.

8 Agus na dhéigh-san thug Ibsan o Bhetlehem breth air Israel.

9 Agus bha deich thar fhichead mac aige, agus deich thar fhichead nighean, *a* chuir e mach uaith, agus ghabh e deich thar fhichead nighean a stigh d'a ionnsuidh air son a mhac. Agus thug e breth air Israel seachd bliadhna.

10 Agus fhuair Ibsan bàs, agus dh'adhlaiceadh e ann am Betlehem.

11 Agus na dhéigh-san thug Elon an

[a] *dhegnamh caoidh air son.* [b] *gu Sephon.* [c] *thu.* Eabh. [d] *a null; a nonn.* Eir. [e] *gu ceart.* [f] *ann am baile.*

an Sebulonach breth air Israel deich bliadhna.

12 Agus fhuair Elon an Sebulonach bàs, agus dh'adhlaiceadh e ann an Aialon ann an tìr Shebuloin.

13 Agus na dhéigh-san thug Abdon mac Hileil, Piratonach, breth air Israel.

14 Agus bha dà fhichead mac aige, agus deich thar fhichead mac a mhac, a mharcaich air deich agus tri fichead asal òg: agus thug e breth air Israel ochd bliadhna.

15 Agus fhuair Abdon mac Hileil am Piratonach bàs, agus dh'adhlaiceadh e ann an tìr Piraton, ann an tìr Ephraim, ann an sliabh nan Amaleceach.

C A I B. XIII.

AGUS rinn clann Israeil olc a rìs ann an sùilibh an Tighearna, agus thug an Tighearna thairis iad do làimh nam Philisteach dà fhichead bliadhna.

2 Agus bha duine àraidh do Shorah, do theaghlach nam Danach, d'am *b'*ainm Manoah, agus *bha* a bhean neo-thorach, agus cha d'rug i *clann.*

3 Agus dh'fhoillsich aingeal an Tighearn e féin do'n mhnaoi[a], agus thubhairt e rithe, Feuch a nis, *tha* thu neo-thorach, agus cha d'rug thu *fathast clann;* ach ginidh tu agus beiridh tu mac.

4 A nis ma ta thoir an aire, guidheam ort, agus na h-òl fion no deoch làidir, agus na h-ith *ni* air bith neo-ghlan;

5 Oir feuch, ginidh tu agus beiridh tu mac, agus cha-dthig ealtainn sam bith air a cheann; oir bithidh an leanabh na Nasarach do Dhia o'n bhroinn: agus tòisichidh e air Israel a shaoradh a làimh nam Philisteach.

6 Agus thàinig a' bhean agus dh'innis i d'a fear, ag ràdh, Thàinig òglach[b] Dhé a m'ionnsuidh, agus a ghnùis mar ghnùis aingil Dé, ro-uamhasach: ach cha d'fheòraich mi dheth cia as *a bha* e, agus cha d'innis e dhomh 'ainm.

7 Ach thubhairt e rium, Feuch ginidh tu, agus beiridh tu mac: agus a nis na h-òl fion no deoch làidir, agus na h-ith *ni* air bith neo-ghlan: oir bithidh an leanabh na Nasarach do Dhia o'n bhroinn gu là a bhàis.

8 An sin ghuidh Manoah air an Tighearna, agus thubhairt e, O mo Tighearna, thigeadh, guidheam ort, òglach Dhé a chuir thu uait a rìs d'ar n-ionnsuidh, agus teagaisgeadh e dhuinn ciod a ni sinn ris an leanabh a bheirear.

9 Agus dh'éisd Dia ri guth Mhanoah, agus thàinig aingeal Dhé a rìs a dh'ionnsuidh na mnà, agus i na suidhe anns an achadh: ach cha *robh* Manoah a fear maille rithe.

10 Agus rinn a' bhean cabhag, agus ruith i, agus dh'innis i d'a fear, agus thubhairt i ris, Feuch, chunnaic mi an duine a thàinig a m' ionnsuidh air an là *roimhe.*

11 Agus dh'éirich Manoah, agus chaidh e 'n déigh a mhnà, agus thàinig e dh'ionnsuidh an duine, agus thubhairt e ris, An tusa an duine a labhair ris a' mhnaoi? Agus thubhairt esan, *Is* mi.

12 Agus thubhairt Manoah, A nis thigeadh do bhriathra gu crìch: cionnus a dh'orduicheas sinn mu'n leanabh, agus ciod a ni sinn ris?

13 Agus thubhairt aingeal an Tighearna ri Manoah, O gach *ni* a thubhairt mise ris a' mhnaoi coimheadadh[c] si i féin.

14 Do *ni* sam bith a thig o'n chrann-fhìona na h-itheadh i, agus fion no deoch làidir na h-òladh i, agus *ni* sam bith neo-ghlan na h-itheadh i: gach *ni* a dh'àithn mise dh'i coimheadadh i.

15 Agus thubhairt Manoah ri aingeal an Tighearna, Leig dhuinn, guidheamaid ort, do ghleidheadh, agus deasaichidh sinn fa d' chomhair meann do na gabhraibh.

16 Agus thubhairt aingeal an Tighearna ri Manoah, Ge do ghléidh thu mi, cha'n ith mi do t'aran: agus ma bheir thu suas iobairt-loisgte, do'n Tighearna

[a] *chunncas aingeal an Tighearna leis a' mhnaoi.* Eabh. [b] *duine.* Eabh.
[c] *gleidheadh.*

Tighearna bheir thu suas i: oir cha robh fios aig Manoah gu'*m b'e* aingeal an Tighearn e.

17 Agus thubhairt Manoah ri aingeal an Tighearna, Ciod *is* ainm dhuit; a chum as, 'nuair a thig do bhriathra gu crìch, gu'n dthoir sinn urram dhuit?

18 Agus thubhairt aingeal an Tighearna ris, C'ar son a tha thu mar so a' fiosrachadh a thaobh m'ainme-sa, agus *gu bheil* e dìomhair [a]?

19 Agus ghabh Manoah meann do na gabhraibh maille ri tabhartas-bìdh, agus dh'ìobair se e air carraig do'n Tighearna: agus b'iongantach an ni a rinn *an t-aingeal*, agus Manoah, agus a bhean ag amharc air;

20 Oir an uair a dh'éirich an lasair bhàrr na h-altarach suas gu nèamh, chaidh aingeal an Tighearna suas ann an lasair na h-altarach; agus an uair a chunnaic Manoah agus a bhean *sin*, thuit iad air an aghaidh a dh'ionnsuidh na talmhainn.

21 (Ach cha d'fhoillsich aingeal an Tighearn e féin tuilleadh do Mhanaoh agus d'a mhnaoi.) An sin bha fios aig Manoah gu'm *b'e* aingeal an Tighearn e.

22 Agus thubhairt Manoah r'a mhnaoi, Gu cinnteach gheibh sinn bàs, oir chunnaic sinn Dia.

23 Ach thubhairt a bhean ris, Nam bu toil leis an Tighearn ar marbhadh, cha ghabhadh e o'r làimh ìobairt-loisgte agus tabhartas-bìdh, agus cha nochdadh e dhuinn na *nithe* so uile, agus mar air an àm so cha chuireadh e 'n céill duinn a leithid so *do nithibh*.

24 Agus rug a' bhean leanabh, agus thug i Samson mar ainm air: agus dh'fhàs an leanabh, agus bheannaich an Tighearn e.

25 Agus thòisich spiorad an Tighearna r'a bhrosnachadh air uairibh ann an camp-Dhain, eadar Sorah agus Estaol.

CAIB. XIV.

AGUS chaidh Samson sìos gu Timnat: agus chunnaic e bean ann an Timnat do nigheanaibh nam Philisteach.

2 Agus thàinig e nìos, agus dh'innis e d'a athair agus d'a mhàthair, agus thubhairt e, Chunnaic mi bean ann an Timnat do nigheanaibh nam Philisteach: agus a nis faighibh i dhomhsa mar mhnaoi.

3 An sin thubhairt 'athair agus a mhàthair ris, Nach *'eil* bean air bith am measg nigheana do bhràithre, no am measg mo shluaigh uile, gu'n rachadh tu a ghabhail mnà do na Philistich neo-thimchiollghearrta? Agus thubhairt Samson r'a athair, Faigh dhomh i, oir tha i taitneach [b] a'm' shùilibh.

4 Ach cha robh fhios aig 'athair agus a mhàthair gu'm b'ann o'n Tighearna *bha* e, gu'n d'iarr e fàth an aghaidh nam Philisteach: oir anns an àm sin bha uachdranachd aig na Philistich os cionn Israeil.

5 Uime sin chaidh Samson sìos, agus 'athair agus a mhàthair, gu Timnat, agus thàinig iad gu fion-liosaibh Thimnait; agus feuch, *bha* leòmhan òg a' beuchdaich na aghaidh;

6 Agus thàinig spiorad an Tighearn air gu treun, agus reub se e mar a reubadh e meann, agus cha *robh* ni air bith na làimh: ach cha d'innis e d'a athair no d'a mhàthair ciod a rinne.

7 Agus chaidh e sìos, agus labhair e ris a' mhnaoi; agus bha i taitneach ann an sùilibh Shamsoin.

8 Agus an déigh laithean *àraidh*, phill e chum a gabhail, agus chaidh e a leth-taobh a dh'fhaicinn closaich an leòmhain, agus feuch, *bha* sgaoth bheach ann an closaich an leòmhain, agus mil.

9 Agus ghabh e dhith na làmhaibh, agus chaidh e air aghaidh ag itheadh, agus thàinig e dh'ionnsuidh 'athar agus a mhàthar, agus thug e dhoibh, agus dh'ith iad: ach cha d'innis e dhoibh gu'm b'ann a closaich an leòmhain a thug e a' mhil.

10 Agus chaidh 'athair sìos a dh'ionnsuidh na mnà, agus rinn Samson an sin cuirm [c]: oir mar sin bu ghnàth leis na daoinibh òga a dhèanamh.

11 Agus an uair a chunnaic iad e, thug iad deich thar fhichead companach gu bhi maille ris.

12 Agus

[a] *iongantach.* Eabh. [b] *dìreach ceart.* Eabh. [c] *rè sheachd làithean.*

12 Agus thubhairt Samson riu,
Cuiridh mi nis toimhseachan a mach
dhuibh: ma chuireas sibh gu cinnteach
an céill domh e an taobh a stigh do
sheachd laithibh na cuirme, agus
gu'm faigh sibh a mach *e*, an sin bheir
mise dhuibh deich thar fhichead brat-
lìn[a], agus deich thar fhichead cul-
aidh eudaich.
13 Ach mur urrainn sibh a chur
an céill domh, an sin bheir sibhse
dhomh-sa deich thar fhichead brat-lìn,
agus deich thar fhichead culaidh
eudaich. Agus thubhairt iad ris,
Cuir a mach do thoimhseachan, agus
gu'n cluinn sinn e.
14 Agus thubhairt esan riu, As an
fhear a dh'itheas thàinig a mach
biadh, agus as an *fhear* gharg[b] thàin-
ig a mach millsead. Agus cha b'ur-
rainn iad an toimhseachan fhuasgladh
ann an tri laithibh.
15 Agus air an t-seachdamh là
thubhairt iad ri mnaoi Shamsoin,
Meall t'fhear, a chum as gu'n innis
e dhuinn[c] an toimhseachan, air eagal
gu'n loisg sinn thu féin agus tigh
t'athar le teine: an ann gu sealbh a
ghabhail anns na bheil againn a ghairm
thu oirnn? nach ann?
16 Agus ghuil bean Shamsoin na
fhianuis, agus thubhairt i, Tha mhàin
fuath agad orm, agus cha 'n'eil gràdh
agad domh: chuir thu mach toimh-
seachan do chloinn mo shluaigh[d], a-
gus cha d'innis thu dhomhsa *e*. Agus
thubhairt esan rithe, Feuch, cha d'in-
nis mi *e* do m'athair no do m' mhàth-
air, agus an innis mi dhuitse *e*?
17 Agus ghuil i na làthair rè nan
seachd laithean a bha chuirm aca: a-
gus air an t-seachdamh là dh'innis e
dh'i, a chionn gu'n do chuir i gu
teann ris: agus dh'innis ise an toimh-
seachan do chloinn a sluaigh.
18 Agus thubhairt daoine a' bhaile
ris air an t-seachdamh là, roimh
luidhe na gréine, Ciod *is* milse na
mil, agus ciod *is* gairge[e] na leòmhan?
Agus thubhairt esan riu, Mur bith-
eadh sibh air treabhadh[f] le m' agh-
sa[g], cha'n fhaigheadh sibh a mach
mo thoimhseachan.
19 Agus thàinig spiorad an Tigh-
earn air gu treun, agus chaidh e sios
gu Ascelon, agus mharbh e dhiubh
deich thar fhichead fear, agus ghabh
e am faobh[h], agus thug e culaidhean
eudaich dhoibhsan a dh'fhuasgail an
toimhseachan: agus las 'fhearg, agus
chaidh e suas gu tigh 'athar.
20 Ach thugadh[k] bean Shamsoin
d'a chompanach, a bha mar charaid
aige.

C A I B. XV.

AGUS an déigh laithean *àraidh*,
ann an àm fogharaidh a'
chruithneachd, chaidh Samson a
dh'fhaicinn a mhnà le meann do na
gabhraibh, agus thubhairt e, Théid
mi stigh a dh'ionnsuidh mo mhnà
do'n t-seòmar. Ach cha leigeadh a
h-athair leis dol a stigh.
2 Agus thubhairt a h-athair, Gu
deimhin shaoil mi gu'n d'fhuathaich
thu gu tur i, agus thug mi i do d'
chompanach: *nach 'eil a piuthar* a's
òige ni's maisiche na i? bitheadh i nis
agad na h-àite.
3 Agus thubhairt Samson mu'n
timchioll, A nis bithidh mi ni's neo-
chiontaiche na na Philistich, ge do ni
mi olc orra.
4 Agus chaidh Samson, agus ghlac
e tri cheud sionnach, agus ghabh e
leusan-teine, agus thionndaidh e ear-
ball ri h-earball, agus chuir e leus-teine
anns a' mheadhon eadar dà earball.
5 Agus an uair a chuir e na leusan
ri theine, leig e air falbh iad am measg
arbhair nam Philisteach, agus loisg e
'n dà chuid na h-adagan agus mar an
ceudna an t-arbhar a bha na sheasamh,
maille ris na fion-liosaibh *agus ris* na
liosaibh-olaidh.
6 An sin thubhairt na Philistich,
Cò rinn so? Agus dh'innseadh dhoibh,
Samson cliamhuinn an Timnataich a
chionn gu'n do ghabh esan a bhean,
agus gu'n d'thug e i d'a chompanach.
Agus chaidh na Philistich suas, agus
loisg

[a] *léine-lìn, earradh-lìn.* [b] *làidir.* [c] *dhuit.* [d] *mo dhaoine.*
[e] *làidire.* [f] *air ar.* [g] *le m' cholpaich-sa.* [h] *an éidigh, an creach.*
[k] *bha.* Eabh.

loisg iad i féin agus a h-athair le teine.

7 Agus thubhairt Samson riu, Ge do rinn sibh mar so, gidheadh dìolaidh mise mi féin oirbh, agus na dhéigh sin sguiridh mi.

8 Agus bhuail e iad cos gu leis [a] le h-àr mòr ; agus chaidh e sìos agus ghabh e còmhnuidh ann an uaimh [b] carraige Etaim.

9 Agus chaidh na Philistich suas, agus champaich iad ann an Iudah, agus sgaoil siad iad féin ann an Lehi.

10 Agus thubhairt fir Iudah, C'ar son a thàinig sibh a nìos 'nar n-aghaidh-ne? Agus thubhairt iadsan, A cheangal Shamsoin thàinig sinn a nìos, a dheanamh air mar a rinn esan oirnne.

11 Uime sin chaidh tri mìle fear do Iudah sìos gu uaimh carraige Etaim, agus thubhairt iad ri Samson, Nach 'eil fhios agad gu *bheil* na Philistich nan uachdarain oirnne? agus, ciod é so *a* rinn thu oirnn? agus thubhairt esan riu, Mar a rinn iadsan ormsa, mar sin rinn mise orra-san.

12 Agus thubhairt iad ris, A chum thusa a cheangal tha sinn air teachd a nuas, a chum as gu'n dthoir sinn thairis thu do làimh nam Philisteach. Agus thubhairt Samson riu, Thugaibh bhur mionnan dhomh, nach buail sibh féin orm.

13 Agus fhreagair iad e, ag ràdh, Cha *bhuail:* ach ceanglaidh sinn thu gu teann, agus bheir sinn thairis thu d'an làimh, ach gu cinnteach cha mharbh sinn thu. Agus cheangail iad e le dà chord nomha, agus thug iad a nìos e o'n charraig.

14 Agus an uair a thàinig e gu Lehi, rinn na Philistich iolach *a' dol* na choinneamh: agus thàinig spiorad an Tighearn air gu treun, agus dh'fhàs na cuird a *bha* air a ghairdeanaibh mar lìon a loisgeadh le teine, agus dh'fhuasgladh a cheanglaichean bhàrr a làmha.

15 Agus fhuair e cnàimh-peircill [c] ùr asail, agus chuir e mach a làmh, agus ghlac se e, agus bhuail e leis mìle fear.

16 Agus thubhairt Samson, Le cnàimh-peircill asail dùn air dhùn [d], le cnàimh-peircill asail mharbh mi mìle fear.

17 Agus an uair a sguir e do labhairt, thilg e 'n cnàimh-peircill as a làimh, agus dh'ainmich e 'n t-àite sin Ramat-lehi.

18 Agus bha tart mòr air, agus ghairm e air an Tighearna, agus thubhairt e, Thug thu an t-saorsa mhòr so do làimh do sheirbhiseach: agus a nis am faigh mi bàs le tart, agus an tuit mi ann an làimh nan neo-thimchiollghearrta?

19 Agus sgoilt Dia lag [e] a *bha* ann an Lehi [f], agus thàinig uisge as; agus dh'òl e, agus thàinig a spiorad a ris, agus dh'ath-bheothaicheadh e: uime sin thug e En-hacore mar ainm air, a *tha* ann an Lehi gu ruig an la 'n diugh.

20 Agus thug e breth air Israel ann an laithibh nam Philisteach fichead bliadhna.

CAIB. XVI.

AGUS chaidh Samson gu Gasa, agus chunnaic e an sin striopach, agus chaidh e stigh d'a h-ionnsuidh.

2 *Agus dh'innseadh* do na Gasaich, ag ràdh, Thàinig Samson an so. Agus chuairtich iad *e*, agus rinn iad feallfholach air a shon rè na h-oidhche ann an geatadh a' bhaile, agus bha iad tosdach [g] rè na h-oidhche, ag ràdh, 'Nuair a thig solus na maidne, marbhaidh sinn e.

3 Agus luidh Samson gu meadhon-oidhche, agus dh'éiriche mu mheadhon-oidhche, agus ghabh e comhlaichean geataidh a' bhaile, agus an dà phost, agus thug e leis iad maille ris na crannaibh, agus chuir e air a ghuailibh *iad*, agus thug e suas iad gu mullach sléibhe a tha fa chomhair Hebroin.

4 Agus na dhéigh sin ghràdhaich e bean ann an gleann Shoreic, d'am *b*'ainm Delilah.

5 Agus chaidh tighearnan nam Philisteach suas d'a h-ionnsuidh, agus thubhairt

[a] *cos air leis.* [b] *air mullach.* [c] *cnàimh-géil.* [d] *le cnàimh-peircill asail chlaoidh mi iad.* [e] *àite folamh.* [f] *anns a' ghiall.* [g] *sàmhach.*

thubhairt iad rithe, Meall e, agus feuch c'àit *am bheil* a neart mòr *a' luidhe*, agus cionnus a bhuadhaicheas sinn air, air chor as gu'n ceangail sinn e chum a cheannsachadh [a]: agus bheir sinn dhuit gach aon againn mìle agus ceud *bonn* airgid.

6 Agus thubhairt Delilah ri Samson, Innis dhomh, guidheam ort, c'àit *am bheil* do neart mòr *a' luidhe*, agus cionnus a dh'fheudas tu bhi air do cheangal chum do cheannsachadh.

7 Agus thubhairt Samson rithe, Ma cheanglas iad mi le seachd goid ùra, nach do thiormaicheadh, an sin bithidh mi anmhunn, agus bithidh mi mar dhuine eile.

8 An sin thug tighearnan nam Philisteach suas d'a h-ionnsuidh seachd goid ùra nach do thiormaicheadh, agus cheangail i e leo.

9 (A nis *bha* daoine ri feall-fholach, a' fantuinn maille rithe anns an t-seòmar.) Agus thubhairt i ris, Na Philistich ort, a Shamsoin. Agus bhris e na goid, mar a bhrisear snàthainn ascaird [b] an uair a bheanas e ri teine [c]: agus cha d'fhuaras fios a neart.

10 Agus thubhairt Delilah ri Samson, Feuch, mheall thu mi, agus dh'innis thu dhomh breugan: a nis innis dhomh, guidheam ort, cionnus a dh'fheudas tu bhi air do cheangal.

11 Agus thubhairt esan rithe, Ma cheanglas iad mi gu teann le cordaibh ùra nach do ghnàthaicheadh riamh, an sin bithidh mi anmhunn, agus bithidh mi mar dhuine eile.

12 Agus ghabh Delilah cuird ùra, agus cheangail i e leo, agus thubhairt i ris, Na Philistich ort, a Shamsoin. (Agus *bha* luchd feall-fholach a' fantuinn anns an t-seòmar.) Agus bhris e iad bhàrr a ghairdeana mar shnàthainn.

13 Agus thubhairt Delilah ri Samson, Gu ruige so mheall thu mi, agus dh'innis thu dhomh breugan: innis dhomh cionnus a dh'fheudas tu bhi air do cheangal. Agus thubhairt esan rithe, Ma dh'fhigheas tu seachd duail [d] mo chinn maille ris an eige.

14 Agus dhaingnich i *iad* leis a' phinne [e], agus thubhairt i ris, Na Philistich ort, a Shamsoin. Agus mhosgail e as a chodal, agus thug e air falbh leis pinne na garmainn agus an eige.

15 Agus thubhairt ise ris, Cionnus is urrainn thu a ràdh, Tha gràdh agam dhuit, an uair nach *'eil* do chridhe leam? na tri uaire so mheall thu mi, agus cha d'innis thu dhomh c'àit *am bheil* do neart mòr *a' luidhe*.

16 Agus an uair a chuir i gu teann ris gach aon là le a briathraibh, agus a choi'-éignich i e, bha 'anam air a chràdh gu bàs.

17 An sin dh'innis e dh'i a chridhe uile, agus thubhairt e rithe, Ealtainn cha d'thàinig riamh air mo cheann; oir *bu* Nàsarach do Dhia mi o bhroinn mo mhàthar: ma bhearrar mi, an sin falbhaidh mo neart uam, agus fàsaidh mi anmhunn, agus bithidh mi mar gach duine *eile*.

18 Agus an uair a chunnaic Delilah gu'n d'innis e dh'i a chridhe uile, chuir i fios, agus ghairm i air tighearnaibh nam Philisteach, ag ràdh, Thigibh a nìos an aon uair so, oir dh'innis e dhomh a chridhe uile. An sin thàinig tighearnan nam Philisteach a nìos d'a h-ionnsuidh, agus thug iad airgiod a nìos nan làimh.

19 Agus thug i air codal air a glùinibh, agus ghairm i air fear, agus thug i air seachd duail a chinn a bhearradh dheth, agus thòisich i air a cheannsachadh, agus dh'fhalbh a neart uaith.

20 Agus thubhairt i, Na Philistich ort, a Shamsoin. Agus mhosgail e as a chodal, agus thubhairt e, Théid mi mach, mar air uairibh eile, agus crathaidh mi mi féin: oir cha robh fhios aige gu'n d'imich an Tighearn uaith.

21 Ach ghlac na Philistich e, agus chuir iad a mach a shùilean; agus thug iad sìos e gu Gasa, agus cheangail iad e le geimhlibh umha, agus bha e a' bleth ann an tigh a' phrìosain [f].

22 Gidheadh thòisich folt a chinn air fàs a rìs, an déigh dha bhi air a bhearradh.

23 Agus chruinnich tighearnan nam Philisteach iad féin an ceann a chéile

[a] *phianadh, a chlaoidh.* [b] *barraiche.* [c] *a ghabhas e fàile an teine.* Eabh.
[d] *ciabhan.* [e] *tarraing.* [f] *ann an tigh nan* daoine *ceangailte.* Eabh.

chéile, a dh'iobradh iobairte mòire d'an dia Dagon, agus a dheanamh gairdeachais: oir thubhairt iad, Thug ar dia thairis Samson ar nàmhaid d'ar làimh.

24 Agus an uair a chunnaic an sluagh e, mhol iad an dia: oir thubhairt iad, Thug ar dia thairis d'ar làimh ar nàmhaid, agus fear-millidh ar dùcha, a mharbh mòran dhinn.

25 Agus an uair a bha'n cridheacha subhach, thubhairt iad, Gairmibh air Samson, a chum as gu'n dean e fearas-chuideachd [a] dhuinn. Agus ghairm iad air Samson a tigh a' phrìosain, agus rinn e fearas-chuideachd nan làthair: agus chuir iad e eadar na puist.

26 Agus thubhairt Samson ris an òganach a ghabh greim d' a làimh, Leig dhomh na puist a laimhseachadh air am bheil an tigh na sheasamh, a chum as gu'n leig mi mo thaic riu.

27 A nis bha'n tigh làn dhaoine agus bhan: agus *bha* uile thighearnan nam Philisteach an sin, agus *bha* air mullach an tighe mu thimchioll tri mìle fear agus bean, a bha 'g amharc an uair a rinn Samson fearas-chuideachd.

28 Agus ghairm Samson air an Tighearn, agus thubhairt e, O Thighearna Dhé, cuimhnich orm, guidheam ort, agus neartaich mi, guidheam ort, a mhàin an aon uair so, O Dhé, a chum as gu'm bi mi dìolta dh'aon tarraing air na Philistich air son mo dhà shùl.

29 Agus ghabh Samson greim do'n dà phost mheadhonach air an robh an tigh na sheasamh, agus ris an robh e 'n taic, *do* h-aon *diubh* le a làimh dheis, agus *do 'n fhear* eile le a làimh chlì.

30 Agus thubhairt Samson, Faigheam bàs [b] maille ris na Philistich; agus chrom se e féin [c] le 'uile neart: agus thuit an tigh air na tighearnaibh, agus air an t-sluagh uile a *bha* ann: agus bha na mairbh a mharbh e aig a bhàs ni bu lìonmhoire na *iadsan* a mharbh e na bheatha.

31 Agus chaidh a bhràithrean agus tigh 'athar uile sìos, agus ghabh iad e, agus thug iad suas *e*, agus dh'adhlaic iad e eadar Sorah agus Estaol, ann an àit-adhlaic Mhanoah 'athar, agus thug e breth air Israel fichead bliadhna.

CAIB. XVII.

AGUS bha duine do shliabh Ephraim, d'am *b'*ainm Micah.

2 Agus thubhairt e r'a mhàthair, Am mìle agus an ceud *secel* airgid, a thugadh air falbh uait, mu'n do mhallaich thu, agus mu'n do labhair thu cuideachd ann am chluasaibh-sa; feuch, *tha* 'n t-airgiod agamsa, ghabh mise e. Agus thubhairt a mhàthair, Gu ma beannaichte thusa o'n Tighearna, a mhic.

3 Agus an uair a thug e air ais am mìle agus an ceud *secel* airgid d'a mhàthair, thubhairt a mhàthair, Naomhaich mi gu h-iomlan [d] an t-airgiod do'n Tighearna o m' làimh, air son mo mhic, a dheanamh deilbh snaidhte, agus deilbh leaghta: a nis ma ta bheir mi air ais dhuit e.

4 Agus thug e air ais an t-airgiod d'a mhàthair, agus ghabh a mhàthair dà cheud *secel* airgid, agus thug i iad do'n òr-cheard, agus rinn esan dhiubh dealbh snaidhte agus dealbh leaghta: agus bha iad ann an tigh Mhicah.

5 Agus *bha* aig an duine Micah tigh dhiathan [e], agus rinn e ephod, agus teraphim, agus choisrig [f] e aon d'a mhic, agus bha e aige na shagart.

6 Anns na laithibh sin cha *robh* righ air bith ann an Israel: rinn *gach* fear an *ni sin a bha* ceart na shùilibh féin.

7 Agus bha òganach o Bhetlehem Iudah, do theaghlach Iudah, *a bha* 'na Lebhitheach, agus bha e air chuairt an sin.

8 Agus dh'imich an duine as a' bhaile o Bhetlehem Iudah, a dhol air chuairt far am faigheadh e *àit*; agus thàinig e gu sliabh Ephraim, gu tigh Mhicah, a' dol air aghaidh air a thurus.

9 Agus thubhairt Micah ris, Cia as a tha thu air teachd? Agus thubhairt

[a] *spòrs, sùgradh.* [b] *Bàsaicheadh m'anam.* Eabh. [c] *tharruing e sìos na puist.* [d] *Le naomhachadh naomhaich mi.* Eabh. [e] *tigh do Dhia.* [f] *lìon e làmh.* Eabh.

airt esan ris, *Is* Lebhitheach mise o Bhetlehem Iudah, agus *tha* mi a' triall air chuairt far am faigh mi *àite*.

10 Agus thubhairt Micah ris, Fan maille riumsa, agus bi dhomhsa a'd' athair agus a'd' shagart; agus bheir mi dhuit deich *secil* airgid sa' bhliadhna[a], agus culaidh eudaich, agus do bhiadh. Agus chaidh an Lebhitheach a stigh.

11 Agus bha'n Lebhitheach toilichte còmhnuidh ghabhail maille ris an duine, agus bha'n t-òganach dha mar aon d'a mhacaibh.

12 Agus choisrig Micah an Lebhitheach, agus bha 'n t-òganach aige na shagart; agus bha e ann an tigh Mhicah.

13 Agus thubhairt Micah, A nis tha fios agam gu'n dean an Tighearna maith dhomh, a chionn gu bheil Lebhitheach agam na shagart.

C A I B. XVIII.

ANNS na laithibh sin cha *robh* righ air bith ann an Israel: agus anns na laithibh sin dh'iarr treubh[b] nan Danach dhoibh féin oighreachd anns an gabhadh iad còmhnuidh; oir gu ruig an là sin cha do thuit *an* oighreachd *uile* orra am measg threubhan Israeil.

2 Agus chuir clann Dhain cùigear d' an teaghlach o 'n crìochaibh, daoine treun o Shorah agus o Estaol, a ghabhail beachd air an tìr, agus g'a rannsachadh a mach; agus thubhairt iad riu, Imichibh, rannsaichibh a mach an tìr. Agus thàinig iad gu sliabh Ephraim, gu tigh Mhicah, agus dh'fhan iad an sin rè na h-oidhche.

3 An uair *a bha* iad aig tigh Mhicah, dh'aithnich iad guth an òganaich, an Lebhithich, agus thionndaidh iad a stigh an sin, agus thubhairt iad ris, Cò thug an so thu? agus ciod *a tha* thu deanamh an so? agus ciod a th'agad an so?

4 Agus thubhairt esan riu, Mar so agus mar so rinn Micah rium, agus thuarasdalaich e mi, agus tha mi aige a'm' shagart.

5 Agus thubhairt iad ris, Iarr comhairle, guidheamaid ort, air Dia, chum as gu'm bi fios againn an soirbhich leinn 'n ar slighe air *am bheil* sinn ag imeachd.

6 Agus thubhairt an sagart riu, Imichibh an sìth: an làthair an Tighearna *tha* bhur slighe, air am bheil sibh ag imeachd.

7 Agus dh'imich an cùigear fhear, agus thàinig iad gu Lais, agus chunnaic iad an sluagh a *bha* ann, a' gabhail còmhnuidh gun umhaill, a réir gnàth nan Sidonach, sàmhach agus neo-umhailleach[c]; agus cha *robh* uachdaran air bith anns an tìr, a chuireadh gu nàire *iad* ann an ni *air bith:* agus *bha* iad fada o na Sidonaich, agus cha robh gnothuch aca ri duine *air bith*.

8 Agus thàinig iad a dh'ionnsuidh am bràithrean gu Sorah agus Estaol: agus thubhairt am bràithre riu, Ciod *a tha* sibh *ag* ràdh?

9 Agus thubhairt iad, Eiribh agus rachamaid suas nan aghaidh; oir chunnaic sinne an tìr, agus feuch, *tha i* ro-mhaith: agus *am bheil* sibhse nar tàmh[d]? na bithibh leasg gu imeachd *agus* gu dol a steach a shealbhachadh na tìre.

10 'Nuair a thig sibh, théid sibh a steach a dh'ionnsuidh sluaigh neo-umhaillich, agus do thìr ro-fharsaing; oir thug Dia thairis d'ar làimh i; àit anns nach *'eil* uireasbhuidh ni air bith a *th'*air an talamh.

11 Agus chaidh as sin do theaghlach nan Danach, a Sorah agus a Estaol, sè ceud fear, crioslaichte le innealaibh cogaidh.

12 Agus chaidh iad suas, agus champaich iad ann an Ciriat-iearim, ann an Iudah: uime sin thugadh Mahaneh-dan mar ainm air an àite sin gu ruig an la'n diugh: feuch, *tha e* air cùlaobh Chiriat-iearim.

13 Agus chaidh iad seachad o sin gu sliabh Ephraim, agus thàinig iad gu tigh Mhicah.

14 An sin fhreagair an cùigear fhear a chaidh a ghabhail beachd air tìr Lais, agus thubhairt iad r'am bràithribh, Am bheil fhios agaibh gu bheil anns na tighibh sin ephod, a-gus

[a] *an ceann laithean.* Eabh. [b] *fine.* [c] *an sluagh a bha ann,* baile *a bha fantuinn neo-umhailleach a réir gnàth nan Sidonach, sàmhach agus neo-umhailleach.* [d] *'nar tosd.* Eabh.

gus teraphim, agus dealbh snaidhte,
agus dealbh leaghta? a nis ma ta
smuainichibh ciod a ni sibh.
15 Agus thionndaidh iad gus a sin,
agus thàinig iad gu tigh an òganaich,
an Lebhithich, eadhon gu tigh Mhi-
cah, agus chuir iad fàilte air.
16 Agus sheas an sè ceud fear
crioslaichte le innealaibh cogaidh, a
bha do chloinn Dhain, aig dol a steach
a' gheataidh.
17 Agus chaidh an cùigear shear
suas a chaidh ghabhail beachd air an
tìr, agus thàinig iad a stigh an sin, a-
gus ghabh iad an dealbh snaidhte, a-
gus an ephod, agus an teraphim, agus
an dealbh leaghta: (agus sheas an
sagart aig dol a stigh a' gheataidh, a-
gus an sè ceud fear a bha crioslaichte
le innealaibh cogaidh.)
18 Agus an uair a chaidh iad sin a
steach do thigh Mhicah, agus a ghabh
iad an dealbh snaidhte, an ephod, a-
gus an teraphim, agus an dealbh
leaghta, an sin thubhairt an sagart
riu, Ciod a tha sibh a deanamh?
19 Agus thubhairt iadsan ris, Bi d'
thosd, cuir do làmh air do bheul, a-
gus falbh maille ruinne, agus bi
dhuinne a't' athair agus a'd' shagart:
am fearr dhuit a bhi d' shagart do
thigh aon duine, na thu bhi d' shagart
do thréibh agus do theaghlach ann an
Israel?
20 Agus bha cridhe an t-sagairt
subhach, agus ghabh e'n ephod, agus
an teraphim, agus an dealbh snaidhte,
agus chaidh e ann am meadhon an
t-sluaigh.
21 Agus thionndaidh iad, agus
dh'imich iad, agus chuir iad a' chlann
bheag, agus an spréidh, agus gach ni
trom [a] rompa.
22 Agus an uair a bha iad astar
fada o thigh Mhicah, chruinnich na
fir a bh'anns na tighibh a bha làimh
ri tigh Mhicah iad féin an ceann a'
chéile, agus chaidh iad air tòir [b]
chloinn Dhain.
23 Agus ghlaodh iad ri cloinn
Dhain; agus thionndaidh iadsan an
aghaidh, agus thubhairt iad ri Micah,
Ciod a tha teachd riut, gu bheil thu
teachd le leithid so do chuideachd [c]?
24 Agus thubhairt esan, Mo
dhiathan a rinn mi thug sibh leibh a-
gus an sagart, agus dh'fhalbh sibh
roimhibh: agus ciod a th'agamsa
tuilleadh? agus ciod e so a tha sibh
ag ràdh rium, Ciod a tha teachd riut?
25 Agus thubhairt clann Dhain ris,
Na cluinnear do ghuth 'nar measg,
air eagal gu'm buail daoine feargach
nan spiorad ort, agus gu'n caill thu
t'anam féin, agus anma do theagh-
laich.
26 Agus dh'imich clann Dhain air
an slighe: agus an uair a chunnaic
Micah gu'n robh iad tuilleadh 's
làidir air a shon, thionndaidh e agus
phill e d'a thigh.
27 Agus ghabh iad na nithe a rinn
Micah, agus an sagart a bh'aige, a-
gus thàinig iad gu Lais, a dh'ionn-
suidh sluaigh a bha sàmhach agus neo-
umhailleach: agus bhuail siad iad le
faobhar a' chlaidheimh, agus loisg iad
am baile le teine.
28 Agus cha robh fear-saoraidh ann,
a chionn gu'n robh e fada o Shidon,
agus nach robh gnothuch aca ri duine
sam bith; agus bha e anns a' ghleann
a tha làimh ri Bet-rehob: agus thog
iad baile, agus ghabh iad còmhnuidh
ann;
29 Agus thug iad Dan mar ainm
air a' bhaile, a réir ainme Dhain an
athar, a rugadh do Israel; gidheadh
b'e Lais ainm a' bhaile an toiseach.
30 Agus chuir clann Dhain suas
dhoibh féin an dealbh snaidhte: agus
bha Ionatan mac Iersoim, mhic Mha-
naseh, e féin agus a mhic, nan sagart-
aibh do thréibh Dhain, gu ruig là
braighdeanais na tìre.
31 Agus chuir iad suas dhoibh féin
dealbh snaidhte Mhicah a rinn e, rè
na h-ùine a bha tigh Dhé ann an
Siloh.

CAIB. XIX.

AGUS anns na laithibh sin, an uair
nach robh righ air bith ann an
Israel, bha Lebhitheach àraidh air
chuairt

[a] luachmhor. [b] rug iad air. [c] gu bheil thu air do chruinn-
eachadh. Eabh.

chuairt air taobh ſléibh Ephraim, a ghabh d'a ionnſuidh coimh-leabach o Bhetlehem Iudah.

2 Agus rinn a choimh-leabach ſiùrtachd na aghaidh, agus dh'fhalbh i uaith gu tigh a h-athar gu Betlehem Iudah, agus bha i 'n ſin ceithir mìoſan iomlan.

3 Agus dh'éirich a fear, agus chaidh e na déigh, a chum gu'n labhradh e r'a cridhe, agus gu'n dthugadh e air a h-ais i, agus 'òganach [a] maille ris, agus dà aſal: agus thug i ſteach e do thigh a h-athar, agus an uair a chunnaic athair na h-ighinn [b] e, chaidh e le gairdeachas [c] na choinneamh.

4 Agus ghléidh 'athair-céile, athair na h-ighinn e, agus dh'fhan e maille ris tri laithean: agus dh'ith agus dh'òl iad, agus dh'fhan iad rè na h-oidhche an ſin.

5 Agus air a' cheathramh là, 'nuair a dh'éirich iad gu moch anns a' mhaduinn, dh'éirich eſan ſuas gu imeachd: agus thubhairt athair na h-ighinn r'a chliamhuin, Neartaich do chridhe le greim arain, agus na dhéigh ſin imichidh ſibh.

6 Agus ſhuidh iad ſios le chéile, agus dh'ith iad cuideachd, agus dh'òl iad: oir thubhairt athair na h-ighinn ris an duine, Bi toilichte, guidheam ort, agus fan rè na h-oidhche, agus bitheadh do chridhe ſubhach.

7 Agus an uair a dh'éirich an duine ſuas gu imeachd, rinn 'athair-céile dian earail air: uime ſin dh'fhan e 'n ſin an oidhche ſin a rìs.

8 Agus dh'éirich e gu moch anns a' mhaduinn air a' chuigeadh là gu imeachd: agus thubhairt athair na h-ighinn, Neartaich do chridhe, guidheam ort. Agus dh'fhan iad gu déigh mheadhon là [d], agus dh'ith iad le chéile.

9 Agus an uair a dh'éirich an duine ſuas gu imeachd, e féin agus a choimh-leabach, agus 'òganach, thubhairt 'athair-céile, athair na h-ighinn ris, Feuch, a nis tha'n là a' tarruing gu feaſgar, fanaibh, guidheam ort, rè na h-oidhche: feuch, tha 'n là a' dlùthachadh r'a chrìch, fan an ſo rè na h-oidhche, agus bitheadh do chridhe ſubhach, agus am màireach éiridh ſibh gu moch a chum bhur turuis [e], agus théid thu dhachaidh.

10 Ach cha b'àill leis an duine fantuinn an oidhche ſin, ach dh'éirich e ſuas agus dh'imich e, agus thàinig e air aghaidh fa chomhair Iebuis, (*is* e ſin Ieruſalem) agus *bha* maille ris dà aſal le'n diallaidibh; *bha* mar an ceudna a choimh-leabach maille ris.

11 *Agus* an uair *a bha* iad làimh ri Iebus, chaitheadh an là gu mòr, agus thubhairt an t-òganach r'a mhaighſtir, Thig, guidheam ort, agus tionndaidhmid a ſtigh do bhaile ſo nan Iebuſach, agus fanamaid rè na h-oidhche ann.

12 Agus thubhairt a mhaighſtir ris, Cha tionndaidh ſinn a ſtigh an ſo gu baile coigrich, nach *'eil* do chloinn Iſraeil, ach gabhaidh ſinn thairis gu Gibeah.

13 Agus thubhairt e r'a òganach, Thig agus tairngeamaid am fagus do aon do na h-àitibh ſin gu fantuinn rè na h-oidhche, ann an Gibeah, no ann an Ramah.

14 Agus ghabh iad thairis agus dh'imich iad; agus chaidh a' ghrian ſios orra làimh ri Gibeah, a *bhuineas* do Bheniamin.

15 Agus thionndaidh iad a lethtaobh an ſin, gu dol a ſtigh a dh'fhantuinn rè na h-oidhche ann an Gibeah: agus an uair a chaidh e ſtigh, ſhuidh e ſios ann an ſràid a' bhaile; oir cha *robh* duine ſam bith a ghabh iad d'a thigh gu fantuinn rè na h-oidhche.

16 Agus feuch, thàinig ſeann duine o 'obair a mach as an fhearann mu fheaſgar, à *bha* mar an ceudna o ſhliabh Ephraim, agus *bha* e air chuairt ann an Gibeah, ach *bu* Bheniaminich daoine an àite.

17 Agus an uair a thog e ſuas a ſhùilean, chunnaic e duine a bha air thurus ann an ſràid a' bhaile: agus thubhairt an ſeann duine, C'àit a tha thu dol? agus cia as a tha thu air teachd?

18 Agus

[a] *a òganach.* [b] *b-ingbin, cailin.* [c] *rinn e gairdeachas.* Eabh. [d] *gus an do thionndaidh an là.* Eabh. [e] *ſlighe.*

18 Agus thubhairt e ris, *Tha* sinn a' gabhail thairis o Bhetlehem Iudah dh'ionnsuidh taoibh sléibh Ephraim, as *am bheil* mise: agus chaidh mi do Bhetlehem Iudah, ach *tha* mi *nis* a' dol gu tigh an Tighearna, agus cha '*n'eil* duine air bith ann a ghabhas mi d'a thigh.

19 Gidheadh tha'n dà chuid fodar, agus innlinn ann air son ar n-asal, agus tha mar an ceudna aran agus fion ann air mo shon-sa, agus air son do bhan-oglaich, agus air son an òganaich *a tha* maille ri d' sheirbhisich: cha '*n'eil* easbhuidh [a] ni air bith oirnn.

20 Agus thubhairt an seann duine, Sìth *gu robh* maille riut: gidheadh, *biodh* t'easbhuidh gu léir ormsa, a mhàin na fan anns an t-sràid rè na h-oidhche.

21 Agus thug e steach e d'a thigh, agus thug e innlinn do na h-asalaibh: agus nigh iad an cosan, agus dh'ith agus dh'òl iad.

22 *Ach* an uair a bha iad a' deanamhancridhe subhach, feuch, chuairtich daoine a' bhaile, daoine bu mhic do Bhelial, an tigh mu'n cuairt, *agus* bhuail iad aig an dorus, agus labhair iad ri maighstir an tighe, an seann duine, ag ràdh, Thoir a mach an duine a thàinig a dh'ionnsuidh do thighe, a chum as gu'n aithnich sinn e.

23 Agus chaidh an duine, maighstir an tighe, mach d'an ionnsuidh, agus thubhairt e riu, Na *deanaibh*, mo bhràithre, na deanaibh, guidheam oirbh, *cho* olc; an déigh do'n duine so teachd a dh'ionnsuidh mo thighesa, na deanaibh an ni gràineil [b] so.

24 Feuch, mo nighean, maighdean, agus a choimh-leabach, iadsan bheir mi mach a nis, agus ìslichibhse iad, agus deanaibh riu an *ni sin a ta* maith 'nar sùilibh: ach air an duine so na deanaibh ni cho ghràineil.

25 Ach cha'n éisdeadh na daoine ris: agus rug an duine air a choimhleabach, agus thug e mach i d'an ionnsuidh; agus dh'aithnich iad i, agus mhi-ghnàthaich iad i rè na h-oidhche gu maduinn: agus aig briseadh na fàire leig iad air falbh i.

26 Agus thàinig a' bhean ann an scarthanaich [c] an là, agus thuit i sìos aig dorus tighe an duine, *far an robh* a tighearna, gus an robh solus ann.

27 Agus dh'éirich a tighearna anns a' mhaduinn, agus dh'fhosgail e dorus an tighe, agus chaidh e mach gu imeachd air a shlighe: agus feuch, bha a' bhean a choimh-leabach air tuiteam sìos aig dorus an tighe, agus a làmhan air an stairsnich.

28 Agus thubhairt e rithe, Eirich, agus imicheamaid; ach cha d'thug i freagradh air bith. Agus ghabh e i air asail, agus dh'éirich an duine suas, agus chaidh e d'a àite féin.

29 Agus an uair a thàinig e d'a thigh, ghabh e sgian, agus rug e air a choimh-leabach, agus roinn e i maille r'a cnaimhibh na dà mhìr dheug, agus chuir e i gu uile chriochaibh Israeil.

30 Agus thubhairt gach neach a chunnaic e, Cha d'rinneadh agus cha'n fhacas *ni air bith* cosmhuil ri so o'n là anns an d'thàinig clann Israeil a nìos a tìr na h-Eiphit gus an là'n diugh: beachdaichibh [d] air, gabhaibh comhairle, agus labhraibh.

CAIB XX.

AN SIN chaidh clann Israeil uile mach, agus chruinnicheadh an coimhthional ri chéile, mar aon duine, o Dhan gu Beersheba, agus *o* thìr Ghilead, a dh'ionnsuidh an Tighearna gu Mispeh.

2 Agus nochd prìomh-dhaoine [e] an t-sluaighe uile, *eadhon* threubhan Israeil uile, iad féin ann an coimhthional sluaigh Dhé, ceithir cheud mìle coisiche a tharruing claidheamh.

3 (A nis chuala clann Bheniamin gu'n deachaidh clann Israeil suas gu Mispeh.) Agus thubhairt clann Israeil, Innsibh cionnus a bha 'n t-olc so.

4 Agus fhreagair an Lebhitheach, fear na mnà a mharbhadh, agus thubhairt e, Gu Gibeah a *bhuineas* do Bheniamin thàinig mise agus mo choimh-leabach gu fantuinn ann rè na h-oidhche.

5 Agus dh'éirich fir Ghibeah a'm' aghaidh, agus chuairtich iad an tigh

[a] *uireasbhuidh, dìth.* [b] *aingidh, amaideach.* [c] *camhanaich; dawn.* Sax. [d] *cuiribh bhur cridhe air.* [e] *maithean; uaislean.*

m'an cuairt orm anns an oidhche: mi féin b'àill leo a mharbhadh, agus air mo choimh-leabach rinn iad éigin, agus tha i marbh.

6 Agus rug mi air mo choimhleabach, agus ghearr mi i na mìribh, agus chuir mi i air feadh uile fhearainn oighreachd Israeil: oir rinn iad cionta agus gràineileachd ann an Israel.

7 Feuch, *is* clann Israeil sibh uile: thugaibh seachad an so bhur focal agus bhur comhairle.

8 Agus dh'éirich an sluagh uile mar aon duine, ag ràdh, Cha dthéid neach air bith dhinn d'a bhùth, agus cha tionndaidh neach air bith dhinn a steach d'a thigh;

9 Ach a nis so an ni a ni sinn ri Gibeah: *théid sinn suas* le crannchur na aghaidh.

10 Agus gabhaidh sinn deich fir as a' cheud air feadh uile threubhan Israeil, agus ceud as a' mhìle, agus mìle as na deich mìle, a thoirt lòin a dh'ionnsuidh an t-sluaigh; a chum as gu'n dean *iad*, an uair a thig iad gu Gibeah Bheniamin, a réir na gràineileachd uile a rinn iad ann an Israel.

11 Mar sin chruinnicheadh fir Israeil uile an aghaidh a' bhaile, ceangailte ri chéile mar aon duine.

12 Agus chuir treubhan Israeil daoine air feadh uile thréibh Bheniamin, ag ràdh, Ciod e an t-olc so a rinneadh 'nar measg?

13 A nis ma ta thugaibh thairisdhuinn na daoine, clann Belial, a *tha* ann an Gibeah, a chum as gu'n cuir sinn gu bàs iad, agus gu'n cuir sinn air falbh olc o Israel. Ach cha 'n éisdeadh clann Bheniamin ri guth am bràithre cloinn Israeil.

14 Ach chruinnich clann Bheniamin iad féin an ceann a chéile as na bailtibh gu Gibeah, chum dol a mach gu cath an aghaidh chloinn Israeil.

15 Agus dh'àirmheadh clann Bheniamin anns an àm [a] sin as na bailtibh, sè mìle fichead fear a tharruing claidheamh, a bhàrr air luchd-àiteachaidh Ghibeah.

16 Dh'àirmheadh seachd ceud fear taghta am measg an t-sluaigh so uile, seachd ceud fear taghta cli-làmhach [b]; thilgeadh gach aon diubh so clach a crann tabhuill air *leud* ròineige, agus cha mhearachdaicheadh e.

17 Agus dh'àirmheadh clann Israeil air leth o Bheniamin, ceithir cheud mìle fear a tharruing claidheamh; *b'*fhir chogaidh iad so uile.

18 Agus dh'éirich clann Israeil, agus chaidh iad suas gu tigh Dhé [c], agus dh'fhiosraich iad do [d] Dhia, agus thubhairt iad, Cò dhinn a théid suas air tùs gu cath an aghaidh chloinn Bheniamin? agus thubhairt an Tighearna, *Théid* Iudah *suas* air tùs.

19 Agus dh'éirich clann Israeil anns a' mhaduinn, agus champaich iad an aghaidh Ghibeah.

20 Agus chaidh fir Israeil a mach gu cath an aghaidh Bheniamin, agus chuir fir Israeil iad féin ann an ordugh catha nan aghaidh aig Gibeah.

21 Agus thàinig clann Bheniamin a mach a Gibeah, agus sgrios iad sìos gu làr do chloinn Israeil air an là sin, dà mhìle thar fhichead fear.

22 Agus ghabh an sluagh, fir Israeil, misneach dhoibh féin, agus chuir iad a rìs an cath ann an ordugh far an do chuir siad iad féin an ordugh air a' cheud là.

23 (Agus chaidh clann Israeil suas, agus ghuil iad am fianuis an Tighearna gu feasgar, agus dh'fhiosraich iad do'n Tighearn, ag ràdh, An dthéid mi suas a rìs gu cath an aghaidh chloinn Bheniamin mo bhràthar? Agus thubhairt an Tighearna, Rachaibh suas na aghaidh.)

24 Agus thàinig clann Israeil am fagus an aghaidh chloinn Bheniamin an dara là.

25 Agus chaidh Beniamin a mach nan aghaidh a Gibeah an dara là, agus sgrios iad do chloinn Israeil a rìs ochd mìle deug fear sìos gu làr: tharruing iad so uile claidheamh.

26 Agus chaidh clann Israeil uile agus an sluagh uile suas, agus thàinig iad gu tigh Dhé, agus ghuil iad, agus shuidh iad an sin am fianuis an Tighearna, agus throisg iad air an là sin gu feasgar, agus dh'iobair iad iobairte-loisgte agus iobairte-sìth [e] am fianuis an Tighearna.

27 Agus

[a] *là.* Eabh. [b] *ceàrr làmhach.* [c] *Bet-el.* Eabh.
[d] *dh'iarr iad comhairle air.* [e] *tabhartasa-sìth.*

27 Agus dh'fhiosraich clann Israeil
do'n Tighearna, (oir *bha* àirc coimh-
cheangail Dé an sin anns na laithibh sin;
28 Agus sheas Phinehas, mac Ele-
asair, mhic Aaroin, na làthair anns
na laithibh sin) ag ràdh, An dthéid
mi fathast a rìs a mach gu cath an
aghaidh chloinn Bheniamin mo bhrà-
thar, no an sguir mi? Agus thubhairt
an Tighearna, Rachaibh suas: oir
am màireach bheir mise thairis iad do
d' làimh.
29 Agus chuir Israel luchd feall-
fholach mu'n cuairt air Gibeah.
30 Agus chaidh clann Israeil suas
an aghaidh chloinn Bheniamin air an
treas là, agus chuir siad iad féin ann
an ordugh catha an aghaidh Ghibeah,
mar air uairibh eile.
31 Agus chaidh clann Bheniamin
a mach an aghaidh an t-sluaigh, *agus*
thairngeadh air falbh iad o'n bhaile,
agus thòisich iad air *cuid* do'n t-sluagh
a bhualadh agus a mharbhadh, mar
air uairibh eile, anns na rathaidibh
mòra, d'*am bheil* aon a' dol suas gu
tigh Dhé, agus aon gu Gibeah anns
an fhearann, mu thimchioll deich fir
fhichead do Israel.
32 Agus thubhairt clann Bhen-
iamin, *Tha* iad air am bualadh sìos
romhainn, mar air tùs. Ach thubh-
airt clann Israeil, Teicheamaid, agus
tairngeamaid iad o'n bhaile gu ruig na
rathaidibh mòra.
33 Agus dh'éirich clann Israeil uile
suas as an àite, agus chuir siad iad féin
ann an ordugh catha ann am Baal-
tamar: agus thàinig an luchd feall-
fholach do Israel a mach as an àit-
ibh, eadhon o uchdaich [a] Ghibeah.
34 Agus thàinig an aghaidh Ghib-
eah deich mìle fear taghta mach a
h-Israel uile, agus bha'n cath cruaidh:
ach cha robh fhios aca gu'n robh olc
am fagus doibh.
35 Agus bhuail an Tighearna Ben-
iamin am fianuis Israeil: agus sgrios
clann Israeil do Bheniamin air an là
sin, cùig mìle fichead agus ceud fear:
tharruing iad so uile claidheamh.
36 Agus chunnaic clann Bheniamin
gu'n do bhuaileadh iad: oir thug fir
Israeil àite do na Beniaminich, a
chionn gu'n d'earb iad risan luchd feall-
fholach a shuidhich iad làimh ri Gibeah.
37 Agus rinn an luchd feall-fhol-
ach cabhag, agus ruith iad a stigh air
Gibeah, agus tharruing an luchd feall-
fholach air an aghaidh, agus bhuail
iad am baile uile le faobhar a' chlaidh-
eimh.
38 A nis bha comhartha [b] suidh-
ichte eadar fir Israeil agus an luchd
feall-fholach, gu'n dthugadh iad air
lasair mhòir le deataich éirigh suas as
a' bhaile.
39 Agus an uair a chaidh fir Is-
raeil air an ais anns a' chath, thòisich
Beniamin air fir Israeil a bhualadh, a-
gus mharbh iad diubh mu thimchioll
deich thar fhichead fear: oir thubh-
airt iad, Gu cinnteach tha iad air am
bualadh sìos romhainn, mar anns a'
cheud chath.
40 Agus an uair a thòisich an las-
air air éirigh suas as a' bhaile, maille
ri meall [c] deataich, dh'amhairc na
Beniaminich air an cùlaobh, agus
feuch, dh'éirich deatach a' bhaile suas
gu neamh.
41 Agus an uair a phill fir Israeil
a rìs, bha uamhas air fir Bheniamin;
oir chunnaic iad gu'n robh olc air
teachd orra.
42 Uime sin thionndaidh iad an
aghaidh am fianuis chloinn Israeil ri
slighe an fhàsaich; ach rug an cath
orra: agus iadsan a *thàinig* a mach as
na bailtibh sgrios iad nam meadhon.
43 Chuairtich iad na Beniaminich
air gach taobh, ruaig siad iad, shaltair
iad orra gun shaimh thall fa chomhair
Ghibeah, leth ri éirigh na gréine.
44 Agus thuit do Bheniamin ochd
mìle deug fear; iad uile nan daoinibh
treuna.
45 Agus phill iad agus theich iad
a dh'ionnsuidh an fhàsaich gu carraig
Rimoin: agus dhioghluim iad diubh
air na rathaidibh mòra cùig mìle fear;
agus lean iad gu cruaidh iad gu ruig
Gidom, agus mharbh iad dhiubh dà
mhìle fear.
46 Agus b'iadsan uile a thuit do
Bheniamin air an là sin, cùig mìle
fichead

[a] *a lòintibh; maaleb* no *maareb.* Eabh. [b] *àm.* [c] *pillar.* Sasg.

fichead fear a tharruing claidheamh ;
iad uile nan daoinibh treun'a.
47 Ach phill sè ceud fear, agus
theich iad do'n fhàsach gu carraig
Rimoin, agus dh'fhan iad ann an
carraig Rimoin ceithir mìosan.
48 Agus phill clann Israeil air an
ais air cloinn Bheniamin, agus bhuail
siad iad le faobhar a' chlaidheimh,
araon daoine gach baile, agus an
spréidh, agus gach ni air bith a fhuar-
adh *ann:* mar an ceudna chuir iad
ri theine na bailtean uile d'an d'thàinig
iad.

C A I B. XXI.

A NIS mhionnaich fir Israeil ann
am Mispeh, ag ràdh, Cha
dthoir fear air bith againn a nighean
do Bheniamin na mnaoi.
2 Agus thàinig an sluagh gu tigh
Dhé, agus dh'fhan iad an sin gu feas-
gar am fianuis Dhé, agus thog iad
suas an guth, agus ghuil iad gu goirt:
3 Agus thubhairt iad, C'ar son,
O Thighearna Dhé Israeil, a thàinig
an ni so gu crìch ann an Israel, gu'm
biodh an diugh aon treubh a dh'eas-
bhuidh air Israel ?
4 Agus air an la màireach dh'éirich
an sluagh gu moch, agus thog iad an
sin altair, agus dh'iobair iad iobairte-
loisgte agus iobairte-sìth.
5 Agus thubhairt clann Israeil, Cò
am measg uile threubhan Israeil, nach
d'thàinig a nìos maille ris a' choimh-
thional a dh'ionnsuidh an Tighearna ?
oir rinn iad mionnan mòra mu 'thim-
chioll-san nach dthigeadh a nìos a
dh'ionnsuidh an Tighearna gu Mis-
peh, ag ràdh, Cuirear gu cinnteach
gu bàs e.
6 Agus ghabh clann Israeil aith-
reachas a thaobh Bheniamin am
bràthar, agus thubhairt iad, Ghearr-
adh air falbh an diugh aon treubh o
Israel.
7 Cionnus a ni sinn air son bhan
dhoibhsan a mhair, agus gu'n do
mhionnaich sinn air an Tighearna,
nach dthoir sinn dhoibh d'ar nighean-
aibh mar mhnaibh ?
8 Agus thubhairt iad, Cia an aon
do threubhaibh Israeil, nach d'thàinig
a nìos a dh'ionnsuidh an Tighearna
gu Mispeh ? agus feuch, cha d'thàinig
duine do'n champ o Iabes-gilead a
dh'ionnsuidh a' choimhthionail.
9 Oir dh'àirmheadh an sluagh, a-
gus feuch, cha *robh* neach air bith an
sin do luchd-àiteachaidh Iabeis-ghil-
ead.
10 Agus chuir an coimhthional an
sin dà mhìle dheug fear dhiubhsan bu
tréine, agus dh'àithn iad dhoibh, ag
ràdh, Falbhaibh agus buailibh luchd-
àiteachaidh Iabeis-ghilead le faobhar
a' chlaidheimh, maille ris na mnaibh
agus ris a' chloinn.
11 Agus so an ni a ni sibh, Sgrios-
aidh sibh gu tur gach firionnach, agus
gach bean a luidh le firionnach.
12 Agus fhuair iad am measg
luchd-àiteachaidh Iabeis-ghilead cei-
thir cheud maighdean òg aig nach
robh aithne air fear le luidhe le fir-
ionnach sam bith : agus thug iad do'n
champ iad gu Siloh, a *tha* ann an tìr
Chanaain.
13 Agus chuir an coimhthional uile
daoine uatha, agus labhair iad ri cloinn
Bheniamin a *bha* ann an carraig Ri-
moin, agus ghairm iad orra ann an
sìth.
14 Agus thàinig Beniamin a rìs
anns an àm sin; agus thug iad dhoibh
mnài a ghléidh iad beo do mhnaibh
Iabeis-ghilead : gidheadh cha d'fhuair
iad *na bu leòr* mar sin.
15 Agus ghabh an sluagh aith-
reachas a thaobh Bheniamin, a chionn
gu'n d'rinn an Tighearna briseadh
ann an treubhaibh Israeil.
16 Agus thubhairt seanairean a'
choimhthionail, Cionnus a ni sinn air
son bhan dhoibhsan a mhair, oir
sgriosadh na mnài mach a Beniamin?
17 Agus thubhairt iad, *Tha* oighr-
eachd *ann* air an son-san a chaidh as
do Bheniamin : agus cha sgriosar
treubh a h-Israel.
18 Gidheadh, cha'n fheud sinn
mnài a thoirt doibh d'ar nigheanaibh
féin ; oir mhionnaich clann Israeil, ag
ràdh, Mallaichte *gu robh* esan a bheir
bean do Bheniamin.
19 An sin thubhairt iad, Feuch,
tha féill [a] an Tighearn ann an Siloh
gach bliadhna, *anns an àit* a tha air an
taobh

[a] *féisd.*

taobh mu thuath do Bhetel, air an
taobh an ear do'n rathad mhòr a tha
dol suas o Bhetel gu Sechem, agus air
an taobh mu dheas do Lebonah.

20 Uime sin dh'àithn iad do chloinn
Bheniamin, ag ràdh, Falbhaibh, agus
deanaibh feall-fholach anns na fion-
liosaibh;

21 Agus seallaibh, agus feuch, ma
thig nigheana Shiloh a mach a dhannsf-
adh ann an dannsaibh, an sin thigibh-
sa mach as na fion-liosaibh, agus glac-
aibh gach fear dhibh a bhean do
nigheanaibh Shiloh, agus rachaibh gu
tìr Bheniamin.

22 Agus tarlaidh, 'nuair a thig an
aithriche no am bràithre d'ar n-ionn-
suidh-ne a dheanamh gearain, gu'n
abair sinne riu, Bithibh bàigheil riu
air ar soin-ne, a choinn nach do
ghléidh[a] sinn *do* gach fear a bhean
anns a' chogadh; oir cha d'thug
sibhse dhoibh anns an àm so, air chor
as gu'm biodh sibh ciontach.

23 Agus rinn clann Bheniamin mar
sin, agus ghabh iad mnài dhoibh féin
a réir an àireimh, dhiubhsan a bha
dannsadh, a ghlac iad, agus chaidh
iad agus phill iad a dh'ionnsuidh an
oighreachd, agus thog iad suas na
bailte, agus ghabh iad còmhnuidh
annta.

24 Agus dh'imich clann Israeil as sin
san àm sin, gach duine a dh'ionnsuidh
a thréibh, agus a dh'ionnsuidh a
theaghlaich, agus chaidh iad a mach
as sin gach duine a dh'ionnsuidh 'oigh-
reachd féin.

25 Anns na laithibh sin cha *robh*
righ air bith ann an Israel: rinn gach
duine an *ni sin a bha* ceart na shùilibh
féin.

[a] *ghabh*. Eabh.

RUT.

R U T

C A I B. I.

ANNIS ri linn nam breitheamhna [a], bha gorta san tìr: agus chaidh duine àraidh do Bhetlehem Iudah gu bhi air chuairt ann am fearann Mhoaib, e féin agus a bhean, agus a dhithis mhac.

2 Agus *b'e* ainm an duine Elimelech, agus ainm a mhnà Naomi, agus ainm a dhithis mhac Mahlon agus Chilion, Ephrataich do Bhetlehem Iudah: agus thàinig iad gu fearann Mhoaib, agus dh'fhan [b] iad an sin.

3 Agus fhuair Elimelech fear Naomi bàs, agus dh'fhàgadh ise, agus a dithis mhac.

4 Agus ghabh iad dhoibh féin mnài do na Ban-mhoabaich: *b'e* ainm aoin *diubh* Orpah, agus ainm na *mnà* eile Rut: agus ghabh iad còmhnuidh an sin mu thimchioll deich bliadhna.

5 Agus fhuair mar an ceudna Mahlon agus Chilion le chéile bàs; agus dh'fhàgadh a' bhean as eugmhais a dithis mhac, agus as eugmhais a fir.

6 Agus dh'éirich i suas maille r'a ban-chliamhuinibh [c], a chum gu'm pilleadh i o fhearann Mhoaib: oir chual' i ann am fearann Mhoaib, gu'n d'amhairc an Tighearna air a shluagh le aran a thabhairt doibh.

7 Uime sin chaidh i mach as an àite san robh i, agus a dà bhan-chliamhuin maille rithe; agus dh'imich iad air an t-slighe gu dol air an ais do thìr Iudah.

8 Agus thubhairt Naomi r'a dà bhan-chliamhuin, Falbhaibh, pilleadh gach aon agaibh do thigh a màthar: gu'm buineadh an Tighearna gu caoimhneil ribh, mar a bhuin sibhse riutha-san nach maireann [d], agus riumsa.

9 Gu'n dthugadh an Tighearna dhuibh gu'm faigh sibh fois, gach aon dhibh ann an tigh a fir. An sin phòg i iad: agus thog iad suas an guth, agus ghuil iad.

10 Agus thubhairt iad rithe, Gu cinnteach maille riutsa pillidh sinne dh'ionnsuidh do shluaigh.

11 Agus thubhairt Naomi, Pillibh mo nigheana; c'ar son a théid sibh maille riumsa? am bheil fathast mic agamsa a'm' innibh [e], gu bhi agaibh nam fir?

12 Pillibh, mo nigheana, imichibh, oir tha mise tuille's sean gu fear a bhi agam: nan abrainn, Tha dòchas agam, *nam* biodh fear agam eadhon an nochd, agus mar an ceudna gu'm beirinn mic,

13 Am feitheadh sibh riu gus an cinneadh iad? am fanadh sibh air an son gun fhir a bhi agaibh? na *deanaibh sin*, mo nigheana; oir tha mi ro-dhoilich air bhur sonsa, gu'n deachaidh làmh an Tighearn a mach a'm' aghaidh-sa.

14 Agus thog iad suas an guth, agus ghuil iad a rìs: agus phòg Orpah a màthair-chéile, ach dhlùth-lean Rut rithe.

15 Agus thubhairt i, Feuch, tha do phiuthar-chéile air pilltinn a dh'ionnsuidh

[a] *anns na laithibh anns an d'thug na breitheamhna breth.* Eabh. [b] *bha.* Eabh. [c] *mnài a dà mhac.* [d] *ris na mairbh.* Eabh. [e] *a'm' bhroinn.*

ſuidh a ſluaigh, agus a dh'ionnſuidh a
diathan [a]; pill thuſa 'n déigh do
pheathar-chéile.

16 Agus thubhairt Rut, Na h-iarr
orm t'fhàgail, no pilltinn o bhi 'gad
leantuinn: oir ge b'e taobh a théid
thuſa, théid miſe; agus far an gabh
thuſa tàmh, gabhaidh miſe tàmh: *is*
e do ſhluagh-ſa mo ſhluagh-ſa, agus
do Dhia-ſa mo Dhia-ſa.

17 Far am faigh thuſa bàs, gheibh
miſe bàs, agus an ſin adhlaicear mi.
Gu'n deanadh an Tighearna mar ſin
ormſa, agus tuille mar an ceudna, *ma*
chuireas ach am bàs dealachadh eadar
miſe agus thuſa.

18 'Nuair a chunnaic i gu'n robh
i ſuidhichte [b] air dol maille rithe, an
ſin ſguir i do labhairt rithe.

19 Agus dh'imich iad le chéile gus
an d'thàinig iad gu Betlehem. Agus
an uair a bha iad air teachd gu Bet-
lehem, ghluaiſeadh am baile uile m'an
timchioll, agus thubhairt iad, An i ſo
Naomi?

20 Agus thubhairt iſe riu, Na
h-abraibh Naomi rium: abraibh
Mara rium; oir bhuin an t-Uile-
chumhachdach gu ro-gheur rium.

21 Chaidh mi mach làn, agus thug
an Tighearn air m'ais mi folamh.
C'arſon mata their ſibh Naomi rium,
agus gu'n d'thug an Tighearna fianuis
a'm' aghaidh, agus gu'n do chuir an
t Uile-chumhachdach fa àmhghar
mi?

22 Mar ſin phill Naomi, agus Rut
a' Bhan-mhoabach, bean a mic, maille
rithe, a phill a fearann Mhoaib: agus
thàinig iad gu Betlehem ann an
toiſeach na buain eorna [c].

C A I B. II.

AGUS bha aig Naomi caraid a
thaobh a fir, duine cumhachd-
ach *aig an robh* mòr bheartas, do
theaghlach Elimeleich, agus b'e 'ainm
Boas.

2 Agus thubhairt Rut a' Bhan-
mhoabach ri Naomi, Leig dhomh a
nis dol do'n achadh, agus diaſan
arbhair a dhìoghlum [d] an déigh an ti
ſin, aig am faigh mi deagh-ghean [e]
na ſhùilibh. Agus thubhairt i rithe,
Falbh, mo nighean.

3 Agus dh'fhalbh i, agus thàinig i,
agus dhìoghluim i ſan achadh an
déigh nam buanaichean, agus thachair
dhi dol air carrann do'n achadh *bu* le
Boas, a *bha* do theaghlach Elimeleich.

4 Agus feuch, thàinig Boas o
Bhetlehem, agus thubhairt e ris na
buanaichibh, Gu *robh* an Tighearna
maille ribh: agus thubhairt iadſan
ris, Gu'm beannaicheadh an Tighearn
thuſa.

5 An ſin thubhairt Boas r'a òglach
a chuireadh os cionn nam buanaichean,
Co leis an òg-bhean [f] ſo?

6 Agus fhreagair an t-òglach a
chuireadh os cionn nam buanaichean,
agus thubhairt e, *Is i* ſo an òg-bhean
Mhoabach, a thàinig air a h-ais maille
ri Naomi a fearann Mhoaib:

7 Agus thubhairt iſe, Guidheam
ort, leig dhomh dìoghlum, agus tional
am meaſg nan ſguab an déigh nam
buanaichean: agus thàinig i, agus
dh'fhuirich i eadhon o'n mhaduinn
gus a nis, gu'n d'fhan i tamull beag
a ſtigh.

8 An ſin thubhairt Boas ri Rut,
Nach cluinn thu, mo nighean? Na
gabh a dhìoghlum ann an achadh eile,
agus na falbh as ſo, ach fan an ſo
làimh ri m' ghruagaichibh-ſa.

9 *Bitheadh* do ſhùilean air an
achadh a bhuaineas iad, agus falbh
thuſa nan déigh. Nach d'àithn miſe
do na h-òganaich gun bheantuinn
riut? agus an uair a bhios ìotadh [g]
ort, falbh a dh'ionnſuidh nan ſoith-
ichean, agus òl do'*n uiſge* a tharruing
na h-òganaich.

10 An ſin thuit i air a h-aghaidh,
agus chrom ſi i féin gu làr, agus
thubhairt i ris, C'ar ſon a fhuair mi
deagh-ghean a'd' ſhùilibh, gu'n cuir-
eadh tu eòlas orm, agus mi a'm'
choigreach?

11 Agus fhreagair Boas, agus
thubhairt e rithe, Dh'innſeadh gu
h iomlan dhomhſa gach *ni* a rinn thu
do d' mhàthair-chéile an déigh bàis
t'fhir, agus mar a dh'fhàg thu t'athair
agus do mhàthair, agus an tìr anns
an

[a] *dée.* [b] *leagta.* [c] *fogharaidh an eorna.* [d] *a thional*
[e] *taitneas.* [f] *cailin.* [g] *tart, pathadh.*

an d'rugadh tu, agus a tha thu air teachd a dh'ionnsuidh sluaigh nach b'aithne dhuit roimhe so.

12 Gu'n dioladh an Tighearna do shaothair, agus gu robh do dhuais iomlan o'n Tighearna Dia Israeil, fuidh a sgiathaibh an d'thàinig thu a chur do dhochais [a].

13 Agus thubhairt ise, Faigheam deagh-ghean a'd' shùilibh, mo Thighearna, do bhrìgh gu'n d'thug thu sòlas dhomh, agus gu'n do labhair thu gu caoimhneil ri d' bhanoglaich [b], ge nach 'eil mi cosmhuil ri h-aon do d' ghruagaichibh-sa.

14 Agus thubhairt Boas rithe, Aig àm bidh thig thusa an so, agus ith do'n aran, agus tum do ghreim anns an fhion-gheur. Agus shuidh i ri taobh nam buanaichean: agus shìn e dh'i *fiol* cruaidhichte, agus dh'ith i, agus shàsuicheadh i, agus dh'fhàg i fuigheall.

15 Agus an uair a dh'éirich i suas gu dìoghlum, dh'àithn Boas d'a òganachaibh, ag ràdh, Eadhon am measg nan sguab dìoghluimeadh i, agus na cuiribh nàire oirre [c].

16 Agus cuideachd leigibh d'ar deoin le *cuid* do na dlaghaibh [d] tuiteam air a son, agus fàgaibh *iad* a chum gu'n dìoghluim i iad, agus na dthugaibh achmhasan dhi.

17 Mar sin dhìoghluim i san achadh gu feasgar, agus bhuail i as na dhìoghluim i; agus bha *ann* mu thimchioll ephah eorna.

18 Agus thog i suas e, agus chaidh i do'n bhaile, agus chunnaic a màthair-chéile na dhìoghluim i: agus chuir i a làthair, agus thug i dhi na dh'fhàg i, an déigh dhi bhi sàsuichte.

19 Agus thubhairt a màthair-chéile rithe, C'àit an do dhìoghluim thu'n diugh? agus c'àit an do shaothraich thu? beannuichte gu robh an ti a chuir eòlas ort. Agus dh'innis i d'a màthair-chéile cia aig a shaothraich i, agus thubhairt i, *Is* e ainm an duine aig an do shaothraich mi 'n diugh, Boas.

20 Agus thubhairt Naomi r'a ban-chliamhuin, Beannuichte gu robh esan o'n Tighearna, nach do leig dheth a chaoimhneas do na beothaibh, agus do na marbhaibh. Agus thubhairt Naomi rithe, *Tha* 'n duine dlùth an dàimh dhuinn; is aon e d'ar dilsibh a's faigse [e].

21 Agus thubhairt Rut a' Bhan-mhoabach, Mar an ceudna thubhairt e riumsa, Làimh ri m'òganaich-sa fanaidh tu, gus an crìochnaich iad m'fhoghara uile.

22 Agus thubhairt Naomi ri Rut a ban-chliamhuin, *Is* fearr dhuit, mo nighean, dol a mach maille r'a ghruagaichibh, a chum as nach coinnich iad thu ann an achadh sam bith eile.

23 Dh'fhan i uime sin làimh ri gruagaichibh Bhoais a dhìoghlum, gus an do chrìochnuicheadh foghara [f] an eorna, agus foghara a' chruithneachd: agus ghabh i còmhnuidh maille r'a màthair-chéile.

C A I B. III.

AN SIN thubhairt Naomi a màthair-chéile rithe, Mo nighean, nach iarr mise suaimhneas dhuitse, chum gu'n éirich gu math dhuit?

2 Agus a nis nach 'eil Boas d'ar dilsibh, maille r'a ghruagaichibh an robh thu? Feuch, *bithidh* e a' fasgnadh eorna an nochd air an urlar-bhualaidh.

3 Uime sin nigh thu féin, agus ung thu féin, agus cuir do thrusgan ort, agus gabh sios do'n urlar-bhualaidh: *ach* na dean thu féin aithnichte [g] do'n duine, gus an sguir e dh'itheadh agus a dh'òl.

4 Agus an uair a luidheas e sìos, bheir thu fa'near an t-àit anns an luidh e, agus théid thu agus rùisgidh tu a chosan, agus luidhidh tu sìos; agus innsidh e dhuit ciod a ni thu.

5 Agus thubhairt i rithe, Gach *ni* a tha thu ag ràdh rium, ni mise.

6 Agus chaidh i sìos do'n urlar-bhualaidh, agus rinn i a réir gach *ni* a dh'àithn a màthair-chéile dhi.

7 Agus an uair a dh'ith agus a dh'òl Boas, agus a bha a chridhe subhach, chaidh e a luidhe sìos aig ceann

[a] *t'earbsaidh.* [b] *gu'n do labhair thu ri cridhe do bhanoglaich.* Eabh. [c] *na maslaichibh i.* [d] *glacaidibh.* [e] *d'ar luchd-fuasglaidh.* Eabh. [f] *foghmhar.* Eir. [g] *na nochd, na feuch, na leig ris thu féin.*

ceann an dùin arbhair: agus thàinig i gu sàmhach, agus rùiſg i a choſan, agus luidh i ſios.

8 Agus an uair a bha e mu mheadhon-oidhche, bha eagal air an duine, agus thionndaidh ſe e féin; agus féuch, bean na luidhe aig a choſaibh.

9 Agus thubhairt e, Cò thuſa? Agus fhreagair i, *Is* miſe Rut do bhanoglach: ſgaoil uime ſin iomall t'eudaich air do bhanoglaich, oir *is* feardàimh [a] thu.

10 Agus thubhairt e, Beannaichte gu robh thuſa o'n Tighearna, mo nighean; nochd thu tuille caoimhneis mu dheireadh na an toiſeach, do bhrìgh nach deachaidh tu 'n déigh òigfheara, bochd no beartach.

11 Agus a nis, mo nighean, na biodh eagal ort; gach *ni* a tha thu ag iarraidh, ni mi dhuit: oir tha fios aig uile bhaile mo ſhluaigh gur bean ſhubhailceach [b] thu.

12 Agus a nis tha e fior gur feardàimh *dhuit* miſe, gidheadh tha feardàimh a's faigſe *dhuit* na mi.

13 Fan an nochd, agus anns a' mhaduinn ma ni e riut dlighe firdàimh [c], *tha ſin* gu maith, deanadh e dlighe fir-dàimh; ach mur bi e toileach dlighe fir-dàimh a dheanamh riut, an ſin ni miſe dlighe fir-dàimh riut, *mar* is beo an Tighearna: luidh sios gu maduinn.

14 Agus luidh i sìos aig a choſaibh gu maduinn: agus dh'éirich i mu'n robh e 'n comas do dhuine duin' eile aithneachadh. Agus thubhairt e, Na biodh fios *aig neach air bith* gu'n d'thàinig bean a ſteach do'n urlarbhualaidh.

15 Mar an ceudna thubhairt e, Thoir *on ſo* am brat *a tha agad* umad, agus cum e. Agus chum i *e*, agus thomhais e sè *toimhſean* eorna, agus chuir e orre *iad;* agus chaidh i a ſteach do'n bhaile.

16 Agus an uair a thàinig i dh'ionnſuidh a màthar-chéile, thubhairt i, Co thuſa, mo nighean? agus dh'innis i dhi gach *ni* a rinn an duine dhi.

17 Agus thubhairt i, Na sè *toimhſean* eorna ſo thug e dhomh; oir thubhairt e rium, Na imich falamh a dh'ionnſuidh do mhàthar-chéile.

18 Agus thubhairt iſe, Fuirich, mo nighean, gus am bi fios agad cionnus a dh'éireas do'n chùis: oir cha bhi an duine aig fois gus an crìochnuich e 'n gnothuch an diugh.

CAIB. IV.

AN SIN chaidh Boas ſuas a dh'ionnſuidh a' gheataidh, agus ſhuidh e sìos an ſin: agus feuch, bha 'm fear-dàimh a' dol ſeachad mu'n do labhair Boas, agus thubhairt e ris, Ho, a leithid ſo a dh'fhear, thig a leth-taobh, ſuidh sìos an ſo. Agus thàinig e a leth-taobh, agus ſhuidh e sìos.

2 Agus ghabh e deichnear dhaoine do ſheanairibh a' bhaile, agus thubhairt e, Suidhibh sìos an ſo. Agus ſhuidh iad sìos.

3 Agus thubhairt e ris an fhear-dàimh, Tha Naomi, a thàinig air a h-ais a fearann Mhoaib, gu earrann do'n achadh bu le ar bràthair Elimelech, a reiceadh.

4 Agus ſmuainich mi air fios a thoirt duit, ag ràdh, Ceannuich *e* 'm fianuis an luchd àiteachaidh, agus am fianuis ſheanairean mo ſhluaigh: ma dh'fhuaſgaileas tu *e*, fuaſgail *e;* ach mur fuaſgail thu *e*, innis dhomh, a chum as gu'm bi fios agam: oir cha *'n eil* neach air bith ann gu 'fhuaſgladh ach thuſa, agus miſe a'd' dhéigh-ſa. Agus thubhairt eſan, Fuaſgailidh miſe e.

5 An ſin thubhairt Boas, San là anns an ceannaich thu 'n t-achadh o làimh Naomi, feumaidh tu cuideachd a cheannach o Rut a' Bhan-mhoabach, bean a' mhairbh, a thogail ſuas ainme a' mhairbh air 'oighreachd-ſan.

6 Agus thubhairt am fear-dàimh, Cha 'n fheud mi 'fhuaſgladh dhomh féin, air eagal gu mill mi m'oighreachd féin: fuaſgail thuſa mo chòir dhuit féin, oir cha 'n fheud miſe a fuaſgladh.

7 A nis *b'e* ſo o ſhean [d] *an gnàth* ann an Iſrael a thaobh fuaſglaidh, agus

[a] *aon d'ar dilſibh; fear-fuaſglaidh.* Eabh. [b] *aig am bheil deagh bheuſan.*
[c] *ma dh'fhuaſgaileas e thu.* Eabh. [d] *roimh*

gus a thaobh iomlaid[a], a dhain-
gneachadh gach *ni*: chuireadh duine
dheth a bhròg, agus bheireadh e d'a
choimhearſnach *i*: agus bha ſo mar
fhianuis ann an Iſrael.

8 Uime ſin thubhairt am fear-dàimh
ri Boas, Ceannuich air do ſhon féin e:
agus chuir e dheth a bhròg.

9 Agus thubhairt Boas ris na ſean-
airibh, agus *ris* an t-ſluagh uile, *Is*
fianuiſean ſibhſe an diugh, gu'n do
cheannuich miſe gach *ni bu* le Elime-
lech, agus gach *ni bu* le Chilion, agus
le Mahlon, o làimh Naomi.

10 Agus mar an ceudna Rut a
Bhan-mhoabach, bean Mhahloin,
cheannuich mi dhomh féin gu bhi na
mnaoi agam, a thogail ſuas ainme a'
mhairbh air 'oighreachd, a chum nach
gearrar as ainm a' mhairbh a mea-
dhon a bhràithrean, agus o gheatadh
'àite féin: *is* fianuiſean ſibhſe an
diugh.

11 Agus thubhairt an ſluagh uile
a *bha* ſa' gheatadh, agus na ſeanairean,
Is fianuiſean ſinn: gu'n deanadh an
Tighearna a' bhean a tha teachd a
dh'ionnſuidh do thighe, mar Rachel
agus mar Leah, a thog ſuas le chéile
tigh Iſraeil: agus dean thuſa gu
cubhaidh[b] ann an Ephratah, agus bi
cliuiteach ann am Betlehem.

12 Agus bitheadh do thigh mar
thigh Phareis, (a rug Tamar do
Iudah) do'n t-ſliochd a bheir an
Tighearna dhuit o'n mhnaoi òig ſo.

13 Agus ghabh Boas Rut, agus
bha i aige na mnaoi: agus chaidh e
ſtigh d'a h-ionnſuidh, agus thug an
Tighearna toirrcheas dhi, agus rug i
mac.

14 Agus thubhairt na mnài ri
Naomi, Beannuichte gu robh an Tigh-
earna nach d'fhàg thuſa 'n diugh gun
fhear-dàimh, a chum gu'm bi 'ainm
cliuiteach[c] ann an Iſrael.

15 Agus bithidh e dhuit na fhear
ath-nuadhachaidh do bheatha[d], agus
na fhear-altruim do ſhean aois: oir
is i do bhan-chliamhuin aig am bheil
gràdh dhuit a's fearr dhuit na ſeachd
mic, a rug e.

16 Agus ghabh Naomi an leanabh,
agus chuir i 'na h-uchd e, agus bha i
na ban-altrum aige.

17 Agus thug na mnài na coimh-
earſnachd ainm air, ag ràdh, Rugadh
mac do Naomi, agus thug iad Obed
mar ainm air: *Is* eſan athair Ieſe,
athar Dhaibhidh.

18 A nis *is* iad ſo ginealaich Pha-
reis: Ghin Phares Heſron,

19 Agus ghin Heſron Ram, agus
ghin Ram Aminadab.

20 Agus ghin Aminadab Nahſon,
agus ghin Nahſon Salmon,

21 Agus ghin Salmon Boas, agus
ghin Boas Obed,

22 Agus ghin Obed Ieſe, agus ghin
Ieſe Daibhidh.

[a] *malairt.* [b] *feartail, buadhar.* [c] *gu'n goirear 'ainm.* Eabh.
[d] *na fhear-aiſig t'anma.* Eabh.

CEUD LEABHAR SHAMUEIL,

D'AN AINM AIR MHODH EILE,

CEUD LEABHAR NAN RIGH.

C A I B. I.

A NIS bha duine àraidh o Ram-
ataim-ſophim, o ſhliabh Eph-
raim, agus *b'e* 'ainm Elcanah, mac
Ierohaim, mhic Elihu, mhic Thohu,
mhic Shuph, Ephrataich.
2 Agus bha dithis bhan aige: ainm
mnà dhiubh Hanah, agus ainm na
mnà eile Peninah. Agus aig Peninah
bha clann, ach aig Hanah cha *robh*
clann.
3 Agus thàinig an duine ſo nìos as
a' bhaile gach bliadhna [a], a dheanamh
aoraidh agus a dh'ìobradh do Thigh-
earna nan ſluagh ann an Siloh; agus
bha dà mhac Eli, Hophni agus Phi-
nehas, ſagartan an Tighearna, an ſin.
4 Agus an uair a thàinig an t-àm
anns an d'ìobhair Elcanah, thug e d'a
mhnaoi Peninah, agus d'a mic uile
agus *d*'a nigheanaibh, cuibhrionnan.
5 Ach do Hanah thug e cuibhrionn
dhùbailte [b]; oir ghràdhaich e Hanah,
ach dhruid an Tighearn a brù.
6 Agus bhroſnaich a h-eaſcaraid i
mar an ceudna gu feirg, a thoirt oirre
gearan a dheanamh [c], a chionn gu'n do
dhruid an Tighearn a brù.
7 Agus mar ſin rinn e gach
bliadhna, 'nuair a thàinig i nìos do
thigh an Tighearna: mar ſin bhroſ-
naich ſi i. Uime ſin ghuil i, agus cha
'n itheadh i.
8 An ſin thubhairt Elcanah a fear
rithe, A Hanah, c'ar ſon a tha thu
a' gul [d]? agus c'ar ſon nach 'eil thu
ag itheadh? agus c'ar ſon a tha do
chridhe air a chràdh? nach fearr miſe
dhuit na deich mic?
9 Agus dh'éirich Hanah ſuas an
déigh dhoibh itheadh ann an Siloh,
agus an déigh dhoibh òl: (a nis bha
Eli an ſagart na ſhuidhe air cathair
làimh ri urſainn ann an teampull an
Tighearna.)
10 Agus bha i air a cràdh na
h-anam, agus rinn i urnuigh ris an
Tighearna, agus ghuil i gu goirt.
11 Agus bhòidich i bòid, agus
thubhairt i, O Thighearna nan ſluagh,
ma dh'amhairceas tu da rìreadh air
àmhghar do bhanoglaich, agus gu'n
cuimhnich thu orm, agus nach di-
chuimhnich thu do bhanoglach, ach
gu'n dthoir thu do d' bhanoglaich
leanabh gille, an ſin bheir mi e do'n
Tighearna rè uile làithean a bheatha,
agus cha dthéid ealtainn air a cheann.
12 Agus an uair a bhuanaich i ri
h-urnuigh an làthair an Tighearna,
thug Eli fa'near a beul.
13 A nis bha Hanah a' labhairt
na

[a] *o laithibh gu laithibh.* Eabh. [b] *thaitneach.* [c] *'ga cur fa champar.*
[d] *a' gal.*

na cridhe; bha a bilean a mhàin a'
gluasad, ach cha chualas a guth:
uime sin shaoil Eli gu'n robh i air
mhisg.
14 Agus thubhairt Eli rithe, Cia
fad a bhios tu air mhisg? cuir air
falbh t'fhìon uait.
15 Agus fhreagair Hanah agus
thubhairt i, Ni h-eadh, mo thighearna;
is bean mise *a tha* tuirseach a'm
spiorad: aon chuid fion no deoch
làidir cha d'òl mi, ach dhòirt mi
mach m'anam an làthair an Tighear-
na.
16 Na meas do bhanoglach mar
nighean do Bhelial: oir, is ann a
ro mheud mo ghearain agus mo dhoil-
gheis a labhair mi gus a nis.
17 An sin fhreagair Eli agus
thubhairt e, Imich an sìth: agus
gu'n dthugadh Dia Israeil *dhuit*
t'iarrtus a dh'iarr thu air.
18 Agus thubhairt ise, Faigheadh
do bhanoglach deagh-ghean a'd' shùil-
ibh. Agus dh'imich a' bhean roimpe,
agus dh'ith i, agus cha robh a gnùis
ni b'fhaide *dubhach*.
19 Agus dh'éirich iad gu moch
anns a' mhaduinn, agus rinn iad
aoradh an làthair an Tighearna, agus
phill iad, agus thàinig iad a dh'ionn-
suidh an tighe gu Ramah: agus
dh'aithnich Elcanah a bhean Hanah,
agus chuimhnich an Tighearn oirre.
20 Uime sin tharladh, an uair a
thàinig an t-àm m'an cuairt, an déigh
do Hanah fàs torrach, gu'n d'rug i
mac; agus thug i Samuel mar ainm
air, *ag ràdh*, Do bhrìgh gu'n d'iarr
mi e air an Tighearna.
21 Agus chaidh an duine Elcanah
agus a thigh uile, suas a dh'ìobradh
do'n Tighearna na h-ìobairt bliadhn-
ail, agus *a choimhlionadh* a bhòide.
22 Agus cha deachaidh Hanah
suas: oir thubhairt i r'a fear, *Cha*
dtheid mise suas gus an cuirear an
leanabh bhàrr na ciche, agus *an sin*
bheir mi leam e, chum gu'n taisbeanar
e am fianuis an Tighearna, agus gu'm
fan e 'n sin gu bràth.
23 Agus thubhairt Elcanah a fear
rithe, Dean mar is maith leat; fan gus
an cuir thu bhàrr na ciche e; a mhàin
daingnicheadh an Tighearn 'fhocal.
Agus dh'fhan a' bhean, agus thug
i cìoch d'a leanabh gus an do chuir
i bhàrr na ciche e.
24 Agus an uair a chuir i bhàrr na
ciche e, thug i suas leatha e, maille ri
tri-bliadhnach tairbh [a], agus aon
ephah do mhin mhìn [b], agus searrag
fhìona, agus thug i e do thigh an
Tighearna ann an Siloh: agus bha 'n
leanabh òg.
25 Agus mharbh iad an tarbh, a-
gus thug iad an leanabh a dh'ionn-
suidh Eli.
26 Agus thubhairt i, Mo thigh-
earna, *mar* is beo t'anam, mo thigh-
earna, *is* mis' a' bhean a sheas làimh
riut an so, a deanamh urnuigh ris an
Tighearna.
27 Air son an leinibh so rinn mi
urnuigh; agus thug an Tighearna
dhomh m'iarrtus a dh'iarr mi air.
28 Agus uime sin thug mi seachad
gu saor e [c] do'n Tighearna: rè uile
laithean a bheatha thugadh seachad
e [d] do'n Tighearna. Agus rinn e
aoradh do'n Tighearn an sin.

CAIB. II.

AGUS rinn Hanah urnuigh, agus
thubhairt i, Tha mo chridhe
a' deanamh gàirdeachais anns an
Tighearna, dh'ardaicheadh m'adharc
anns an Tighearna, rinneadh mo
bheul farsaing os cionn mo naimhde,
do bhrìgh gu bheil mi aoibhneach
ann do shlàinte-sa.
2 Cha'n'eil neach air bith naomha
mar an Tighearna; oir cha *'n'eil* neach
ann ach thu, agus cha *'n'eil* carraig
ann mar ar Dia-ne.
3 Na labhraibh ni's mò cho ro-
uaibhreach, na dthigeadh ardan [e] a
mach as bhur beul; oir is Dia eòlais
an Tighearna, agus leissean tha
gnìomharan air an cothromachadh [f].
4 *Tha* boghanna nan daoine treun
air am briseadh, agus tha iadsan a
thuisllich air an crioslachadh le neart.
5 *Iadsan a bha* làn, air son arain
thuarasd-

[a] *maille ri tri tairbh òga.* [b] *do phlùr, do mhin chruithneachd.*
[c] *thug mi 'n coingheall e.* [d] *dh'iarradh e, bheirear an coingheall e.*
[e] *seann nithe.* [f] *cha stiùrar gnìomhara as 'eugmhais-san.*

thuaraſdalaich ſiad iad féin; agus *iad-*
ſan a bha ocrach, ſguir iad *do bhi mar*
ſin: iſe a bha roimhe neo-thorrach,
rug i ſeachdnar; agus iſe aig an robh
mòran cloinne, dh'fhàs i fann.
6 'Se 'n Tighearn a mharbhas a-
gus a bheothaicheas: bheir e ſios a
dh'ionnſuidh na h-uaighe, agus bheir
e nìos.
7 'Se 'n Tighearn a ni bochd, agus
a ni beartach: leagaidh e ſìos, agus
togaidh e ſuas.
8 Togaidh e 'm bochd o'n duſlach;
o'n òtrach togaidh e ſuas am feumach,
g'an cur nan ſuidhe maille ri uach-
dranaibh [a], agus a thoirt orra cathair
glòire a ſhealbhachadh: oir *is* leis an
Tighearna bunaite na talmhainn, agus
ſhuidhich e an domhan orra.
9 Coſan a naoimh gleidhidh e, agus
bithidh na h-aingidh toſdach ann an
dorchadas; oir le neart cha bhuadh-
aich duine ſam bith.
10 Briſear nam bloighdibh eaſ-
cairdean an Tighearna: as na nèamh-
aibh ni e tairneanach orra: bheir an
Tighearna breth air crìochaibh na
talmhainn, agus bheir e neart d'a righ,
agus ardaichidh e adharc 'Aoin-ungta
féin.
11 Agus dh'imich Elcanah gu
Ramah d'a thigh; agus fhritheil an
leanabh do'n Tighearn am fianuis
Eli, an t-ſagairt.
12 A nis *bu* mhic do Bhelial mic
Eli; cha b'aithne dhoibh an Tigh-
earna.
13 Agus *b'e* gnàth nan ſagart leis an
t-ſluagh, an uair a dh'iobradh duine
ſam bith iobairt, gu'n dthigeadh
òglach an t-ſagairt, an uair a bha'n
fheoil 'ga bruicheadh, agus greimiche-
feòla thri meur na làimh:
14 Agus bhuaileadh e ſan aigh-
eann e, no ſa' choire bheag, no ſa'
choire mhòr, no ſa' phoit; gach ni
a bheireadh an greimiche-feòla ſuas,
ghabhadh an ſagart air a ſhon féin:
mar ſin rinn iad ann an Siloh, ris na
h-Iſraelich uile a thàinig an ſin.
15 Mar an ceudna mun loiſgeadh
iad an t-ſaill, thigeadh òglach an
t-ſagairt, agus theireadh e ris an duine
a dh'iobair, Thoir feoil g'a ròſtadh
do'n t-ſagart; oir cha ghabh e uait
feoil bhruich, ach amh.
16 Agus *nan* abradh duine ſam bith
ris, Na dearmadadh iad an t-ſaill a
loſgadh air ball, agus *an ſin* gabh
dhuit féin mar is miann le t'anam:
an ſin fhreagradh e, Ni h-eadh, ach
bheir thu *dhomh* a nis; agus mur
tabhair, gabhaidh mi a dh'aindeoin.
17 Uime ſin bha peacadh nan
òganach ro-mhòr am fianuis an Tigh-
earna; oir rinn daoine tarcuis air
ìobairt an Tighearna.
18 Ach fhritheil Samuel an làthair
an Tighearna, *agus e* na leanabh, air
a chrioſlachadh le ephod do lìon-
eudach.
19 Agus rinn a mhàthair dha còta
beag, agus thug i d'a ionnſuidh e o
bhliadhna gu bliadhna, 'nuair a chaidh
i ſuas maille r'a fear a dh'iobradh na
h-ìobairt bhliadhnail.
20 Agus bheannuich Eli Elcanah,
agus a bhean, agus thubhairt e, Gu'n
dthugadh an Tighearna dhuit ſliochd
o'n mhnaoi ſo, air ſon an tiodhlaic a
thug i ſeachad [b] do'n Tighearna.
Agus chaidh iad d'an àite féin.
21 Agus dh'amhairc an Tighearn
air Hanah, agus dh'fhàs i torrach, a-
gus rug i tri mic, agus dà nighinn:
agus dh'fhàs an leanabh Samuel ſuas
am fianuis an Tighearna.
22 A nis bha Eli ro-ſhean, agus
chual' e gach *ni* a rinn a mhic ri h-Iſ-
rael uile, agus cionnus a luidh iad leis
na mnaibh a chruinnich aig dorus
pàilliuin a' choimhthionail.
23 Agus thubhairt e riu, C'ar ſon
a tha ſibh a' deanamh a leithid ſo do
nithibh? oir tha mi cluinntinn a
thaobh bhur droch ghnìomhara o'n
t-ſluagh ſo uile.
24 Na *deanaibh mar ſo*, mo mhic:
oir cha ſgeul maith a tha mi a' cluinn-
tinn, gu bheil ſibh a' toirt air ſluagh
an Tighearna dol air ſeacharan [c].
25 Ma pheacaicheas duine an
aghaidh duin' eile, bheir am breith-
eamh [d] breth air [e]: ach ma pheac-
aicheas

[a] *uaiſlibh.* [b] *air ſon an iarrtuis a dh'iarr i; air ſon a' choingbhill a thugadh do thug thu.* [c] *claonadh, dol a leth-taobh, peacachadh.* [d] *Dia; Elohim* Eabh. [e] *guidhidh daoine ri Dia as a leth.*

aicheas duine an aghaidh an Tighearna, cò a ghuidheas air a shon? gidheadh cha d'éisd iadsan ri guth an athar, do bhrigh gu'm bu toil leis an Tighearn am marbhadh.

26 (Agus dh'fhàs an leanabh Samuel suas, agus bha e taitneach araon do'n Tighearna, agus do dhaoinibh.)

27 Agus thàinig duine [a] le Dia dh'ionnsuidh Eli, agus thubhairt e ris, Mar so tha 'n Tighearn ag ràdh, An d'fhoillsich mise gu soilleir mi féin do thigh t'athar, an uair a bha iad san Eiphit, ann an tigh Pharaoih?

28 Agus an do thagh mi e a treubhaibh Israeil uile *gu bhi* na shagart agam, a dh'iobradh [b] air m'altair, a losgadh tùis, a dh'iomchar ephoid a'm'fhianuis? agus an d'thug mi do thigh t'athar na tabhartasan uile a bheirear suas le teine le cloinn Israeil?

29 C'ar son a tha sibh a deanamh tàir air [c] m'iobairt, agus air mo thabhartas a dh'àithn mi *ann am* àite-còmhnuidh, agus a tha thu a' toirt urraim do d' mhic os mo chionn-sa, gu sibh féin a dheanamh reamhar le roghadh [d] uile thabhartasa mo shluaigh Israeil?

30 Uime sin tha 'n Tighearna Dia Israeil ag ràdh, Thubhairt mi gu deimhin, *gu'n* gluaiseadh do thigh-sa agus tigh t'athar a'm' fhianuis gu bràth: ach a nis tha 'n Tighearn ag ràdh, Gu ma fada sin uamsa; oir dhoibhsan a bheir urram dhomhsa bheir mise urram, agus iadsan a ni tàir ormsa, is beag am meas a bhitheas dhiubh.

31 Feuch, *tha* na làithean a' teachd anns an gearr mi dhiot do ghàirdean, agus gàirdean tighe t'athar, air chor as nach bi seann duine a'd' thigh.

32 Agus chi thu nàmhaid [e] *ann am* àite-còmhnuidh-*sa* anns an uile shaibhreas a bheir *Dia* do Israel: agus cha bhi seann duine a'd' thigh-sa gu bràth.

33 Agus an duine sin agad nach gearr mi as o m' altair, *bithidh e* a chlaoidh do shùl, agus a chràdh do chridhe: agus bàsaichidh uile ghineal [f] do thighe ann an tréin' an neirt [g].

34 Agus *bithidh* so na chomhara dhuit, a thig air do dhithis mac, air Hophni agus Phinehas: ann an aon là bàsaichidh iad le chéile.

35 Agus togaidh mi suas dhomh féin sagart dìleas, *a* ni mar *a tha e* ann am chridhe, agus ann am inntinn; agus togaidh mi dha tigh seasmhach [h], agus imichidh e am fianuis m' Aoin ungta gu bràth.

36 Agus tarlaidh gu'n dthig gach neach a dh'fhàgar a'd'thigh a chromadh sìos da air son mìr airgid, agus greim arain; agus their e, Cuir mi, guidheam ort, ann an aon do dhreuchdaibh nan sagart, a chum as gu'n ith mi greim arain.

C A I B. III.

AGUS fhritheil an leanabh Samuel do'n Tighearna am fianuis Eli: agus bha focal an Tighearna luachmhor anns na laithibh sin; cha *robh* taisbeanadh follaiseach ann.

2 Agus tharladh anns an àm sin, an uair a bha Eli na luidhe na àite; (agus thòisich a shùilean air fàilneachadh [k]: cha b'urrainn e faicinn *gu maith*)

3 Agus mun deachaidh lòchran Dhé as, an uair a bha Samuel na luidhe ann an teampull an Tighearna, far an robh àirc Dhé;

4 Gu'n do ghairm an Tighearna air Samuel, agus fhreagair esan, *Tha* mi 'n so.

5 Agus ruith e dh'ionnsuidh Eli, agus thubhairt e, *Tha* mi 'n so, oir ghairm thu orm. Agus thubhairt esan, Cha do ghairm mise *ort*; pill, luidh sìos. Agus dh'fhalbh e agus luidh e sìos.

6 Agus ghairm an Tighearn a rìs air Samuel. Agus dh'éirich Samuel, agus chaidh e dh'ionnsuidh Eli, agus thubhairt e, *Tha* mi 'n so, oir ghairm thu orm. Agus fhreagair esan, Cha do ghairm mise *ort*, a mhic; pill, luidh sìos.

7 A nis cha b'aithne do Shamuel fathast an Tighearna, agus cha d'fhoill-

[a] *òglach.* [b] *gu dol suas.* [c] *a' breabadh an aghaidh.* Eabh. [d] *toiseach.* Eabh. [e] *chi thu le doilgheas agus farmad neach eile.* [f] *sliochd, fhàs.* [g] *nan daoinibh.* [h] *cinnteach.* [k] *chaidh air a léirsinn.*

d'fhoillsicheadh focal an Tighearna fathast da.

8 Agus ghairm an Tighearna fathast air Samuel an treas uair. Agus dh'éirich e, agus chaidh e dh'ionnsuidh Eli, agus thubhairt e, *Tha* mi 'n so, oir ghairm thu orm. Agus thuig Eli gu'm b'e 'n Tighearn a ghairm air an leanabh.

9 Uime sin thubhairt Eli ri Samuel, Falbh, luidh sìos: agus ma ghairmeas e ort, an sin their thu, Labhair, a Thighearna, oir *tha* do sheirbhiseach a' cluinntinn. Agus dh'fhalbh Samuel, agus luidh e sìos na àite féin.

10 Agus thàinig an Tighearna, agus sheas e, agus ghairm e mar air na h-uairibh eile, A Shamueil, a Shamueil, An sin fhreagair Samuel, Labhair, oir *tha* do sheirbhiseach a' cluinntinn.

11 Agus thubhairt an Tighearna ri Samuel, Feuch, ni mi ni ann an Israel, a ni gaoir [a] ann an dà chluais gach neach a chluinneas e.

12 Anns an là sin, coimhlionaidh [b] mi an aghaidh Eli na *nithe sin* uile a labhair mi mu thimhchioll a thighe: tòisichidh mi agus crìochnaichidh mi.

13 Oir dh'innis mi dha gu'n dthoir mi breth air a thigh gu bràth, air son na h-aingidheachd air am bheil e fiosrach; a chionn gu 'n d'thug a mhic masladh dhomhsa [c], agus nach do chaisg [d] esan iad.

14 Agus uime sin mhionnaich mi do thigh Eli, nach glanar as aingidheachd tighe Eli le h-iobairt, no le tabhartas gu bràth.

15 Agus luidh Samuel gu maduinn, agus dh'fhosgail e dorsan tighe an Tighearna: agus *bha* eagal air Samuel an taisbeanadh innseadh do Eli.

16 An sin ghairm Eli air Samuel, agus thubhairt e, A Shamueil a mhic. Agus thubhairt esan, *Tha* mi 'n so.

17 Agus thubhairt e, Ciod an ni a chaidh ràdh [e] riut? na ceil ormsa *e*, guidheam ort: gu'n deanadh Dia mar sin riut, agus tuilleadh mar an ceudna, ma cheileas tu ni *air bith* orm, do gach ni a chaidh ràdh riut.

18 Agus dh'innis Samuel dha na h-uile nithe, agus cha do cheil e *ni sam bith* air. Agus thubhairt esan, *Is* e 'n Tighearn a th'ann: an ni sin a ta maith na shùilibh ni e.

19 Agus dh'fhàs Samuel suas, agus bha 'n Tighearna maille ris, agus cha do leig e do h-aon air bith d'a fhoclaibh tuiteam a dh'ionnsuidh an làir.

20 Agus bha fios aig Israel uile o Dhan gu ruig Beer-seba gu'n d'orduicheadh [f] Samuel na fhàidh do'n Tighearna.

21 Agus thaisbeineadh an Tighearn a rìs ann an Siloh; oir dh'fhoillsich an Tighearn e féin do Shamuel ann an Siloh, le focal an Tighearna.

CAIB. IV.

AGUS thàinig focal Shamueil a dh'ionnsuidh Israeil uile. A nis chaidh Israel a mach an aghaidh nam Philisteach gu cath, agus champaich iad làimh ri Ebeneser: agus champaich na Philisteach ann an Aphec.

2 Agus tharruing na Philistich iad féin suas an ordugh blàir an aghaidh Israeil: agus chuireadh an cath, agus bhuaileadh Israel roimh na Philistich: agus mharbh iad anns a' chath sa' mhachair mu thimchioll ceithir mìle fear.

3 Agus an uair a thàinig an sluagh do'n champ, thubhairt seanairean Israeil, C'ar son a bhuail an Tighearna sinn an diugh an làthair nam Philisteach? Thugamaid d' ar n-ionnsuidh a Siloh àirc coimhcheangail an Tighearna, chum 'nuair a thig i 'nar measg gu'n saor i sinn a làimh ar naimhde.

4 Agus chuir an sluagh *daoine* gu Siloh, a chum gu'n dthugadh iad as sin àirc coimhcheangail Tighearna nan sluagh, a tha chòmhnuidh *eador* na Cheruban: agus *bha* dithis mhac Eli, Hophni agus Phinehas, an sin maille ri àirc coimhcheangail Dé.

5 Agus an uair a thàinig àirc coimhcheangail an Tighearna do'n champ, dh'éigh Israel uile le h-iolaich [g] mhòir, agus fhreagair an talamh do'n fhuaim.

6 Agus

[a] *fuaim.* [b] *dùisgidh.* [c] *gu'n d'rinn a mhic iad féin mallaichte.* [d] *choisg, thoirmisg.* [e] *a thubhairt* an Tighearna. [f] *do dhaingnicheadh.* [g] *gàir.*

6 Agus chuala na Philiſtich fuaim na h-iolaich, agus thubhairt iad, Ciod *is ciall* do fhuaim na h-iolaiche mòire ſo ann an camp nan Eabhruidheach? Agus thuig iad gu'n robh àirc an Tighearn air teachd do'n champ.

7 Agus bha eagal air na Philiſtich, oir thubhairt iad, Tha diathan [a] air teachd do'n champ: agus thubhairt iad, Mo thruaighe ſinne; oir cha robh a leithid ſo do ni riamh roimhe ann:

8 Mo thruaighe ſinne! cò a ſhaoras ſinn a làmh nan diatha cumhachdacha ſin? *is* iad ſin na diathan a bhuail na h-Eiphitich leis gach plàigh, *agus a rinn nithe iongantach annſ* an fhàſach.

9 Bithibh làidir, agus bithibh fearail, O ſibhſe Philiſteacha, a chum nach bi ſibh 'nar tràillibh aig na h-Eabhruidhich, mar a bha iadſan nan tràillean agaibhſe: bithibh ma ta fearail, agus cogaibh.

10 Agus chog na Philiſtich; agus bhuaileadh Iſrael, agus theich gach duine dhiubh a dh'ionnſuidh a bhùtha: agus bha àr ro-mhòr ann; oir thuit do Iſrael deich mìle fichead coiſiche.

11 Agus ghlacadh àirc Dhé; agus fhuair dithis mhac Eli, Hophni agus Phinehas, bàs.

12 Agus ruith duine do Bheniamin a mach as an armailt [b], agus thàinig e gu Siloh air an là ſin féin, agus 'eudach air a reubadh [c], agus duſlach air a cheann.

13 Agus an uair a thàinig e, feuch, bha Eli na ſhuidhe air cathair làimh ris an t-ſlighe, a' coimhead [d]: oir bha a chridhe air chrith air ſon àirc Dhé. Agus an uair a thàinig an duine do'n bhaile, agus a dh'innis ſe *e*, dh'éigh am baile uile.

14 Agus an uair a chual' Eli fuaim na h-éighich, thubhairt e, Ciod *is ciall* do fhuaim na conghàir ſo? agus rinn an duine cabhag, agus thàinig e, agus dh'innis e do Eli.

15 A nis *bha* Eli ochd bliadhna deug agus ceithir fichead a dh'aois: agus bha a ſhùilean mall [e], air chor as nach faiceadh e *gu maith*.

16 Agus thubhairt an duine ri Eli, *Is* miſe eſan a thàinig a mach as an armailt, agus theich miſe 'n diugh as an armailt. Agus thubhairt eſan, Ciod a thachair, a mhic?

17 Agus fhreagair an teachdaire agus thubhairt e, Theich Iſrael roimh na Philiſtich, agus mar an ceudna bha àr mòr am meaſg an t-ſluaigh, agus mar an ceudna tha do dhithis mhac Hophni agus Phinehas marbh, agus ghlacadh àirc Dhé.

18 Agus an uair a dh'ainmich e àirc Dhé, thuit e bhàrr na cathrach an comhair a chùil làimh ris a' gheatadh, agus bhriſeadh 'amhach, agus fhuair e bàs; oir bha e na ſheann duine, agus trom. Agus thug e breth air Iſrael dà fhichead bliadhna.

19 Agus bha a bhan-chliamhuin, bean Phinehais, torrach, *dlùth* do bhi air a h-aiſead [f]: agus an uair a chual' i 'n ſgeul gu'n do ghlacadh àirc Dhé, agus gu'n robh a h-athair-céile marbh, agus a fear, chrom ſi i féin, agus rug i *mac*; oir thàinig a ſaothair-chloinne oirre.

20 Agus mu àm a bàis, thubhairt na *mnài* a bha ſeaſamh làimh rithe, Na biodh eagal ort, oir rug thu mac. Ach cha do fhreagair iſe, ni mò a thug i fa'near *e*.

21 Agus thug i Ichabod mar ainm air an leanabh, ag ràdh, Dh'fhalbh a' ghlòir o Iſrael: (do bhrigh gu'n do ghlacadh àirc Dhé, agus air ſon a h-athar-céile agus a fir.)

22 Agus thubhairt i, Dh'fhalbh a' ghlòir o Iſrael; oir ghlacadh àirc Dhé.

C A I B. V.

AGUS ghabh na Philiſtich àirc Dhé, agus thug iad leo i o Ebeneſer gu Aſdod.

2 An ſin ghabh na Philiſtich àirc Dhé, agus thug iad i do thigh Dhagoin, agus ſhuidhich iad i làimh ri Dagon.

3 Agus an uair a dh'éirigh muinntir Aſdoid gu moch air an là màireach, feuch, *bha* Dagon air tuiteam air 'aghaidh dh'ionnſuidh an làir fa chomhair àirc an Tighearna: agus ghabh iad Dagon, agus chuir iad a ris e na àite féin.

4 Agus an uair a dh'éirich iad gu moch

[a] *Dia.* [b] *as a' chath.* [c] *ſbrachdadh.* [d] *a' faire.* [e] *rag, trom; ſkeas a ſhùilean.* Eabh. [f] *aſaid.*

moch sa' mhaduinn air an la màireach, feuch, *bha* Dagon air tuiteam air 'aghaidh dh'ionnsuidh an làir fa chomhair àirc an Tighearna: agus *bha* ceann Dhagoin, agus da bhois a làmh air an gearradh dheth aig an stairsnich: dh'fhàgadh a mhàin *com* Dhagoin aige.

5 Uime sin cha saltair sagairt Dhagoin, no neach air bith a théid a steach do thigh Dhagoin, air stairsnich Dhagoin ann an Asdod, gus an la 'n diugh.

6 Ach bha làmh an Tighearna trom air muinntir Asdoid, agus sgrios[a] e iad, agus bhuail e iad le neasgaidean fola[b], eadhon Asdod agus a chrìocha.

7 Agus an uair a chunnaic daoine Asdoid gu'*n robh e* mar sin, thubhairt iad, Cha 'n fhan àirc Dhé Israeil maille ruinne; oir *tha* a làmh trom[c] oirnn, agus air Dagon ar Dia.

8 Uime sin chuir iad *fios* uatha, agus chruinnich iad uile thighearnan[d] nam Philisteach d'an ionnsuidh, agus thubhairt iad, Ciod a ni sinn ri àirc Dhé Israeil? Agus fhreagair iadsan, Thugar àirc Dhé Israeil m'an cuairt gu Gat. Agus thug iad m'an cuairt àirc Dhé Israeil *gu Gat*.

9 Agus an uair a thug iad m'an cuairt i, bha làmh an Tighearna an aghaidh a' bhaile le sgrios ro-mhòr, agus bhuail e daoine a' bhaile eadar bheag agus mhòr; agus bha neasgaidean fola aca nan àitibh dìomhair.

10 Uime sin chuir iad air falbh àirc Dhé gu Hecron; agus an uair a bha àirc Dhé air teachd gu Hecron, dh'éigh na Hecronaich, ag ràdh, Thug iad m'an cuairt d'ar n-ionnsuidh-ne àirc Dhé Israeil, gu sinn féin a mharbhadh, agus ar sluagh.

11 Uime sin chuir iad *fios* uatha, agus chruinnich iad uile thighearnan nam Philisteach, agus thubhairt iad, Cuiribh air falbh àirc Dhé Israeil, agus rachadh i air a h-ais d'a h-àite féin, a chum as nach marbh i sinn féin agus ar sluagh: oir bha sgrios bàis anns a' bhaile uile; bha làmh Dhé ro-throm an sin.

12 Agus na daoine nach do bhàsaich, bhuaileadh iad le neasgaidean fola; agus chaidh eigheach[e] a' bhaile suas gu nèamh.

CAIB. VI.

AGUS bha àirc an Tighearn ann am fearann nam Philisteach seachd mìosan.

2 Agus ghairm na Philistich air na sagartaibh, agus air na fiosaichibh, ag ràdh, Ciod a ni sinn ri àirc an Tighearna? thugaibh fios duinn cionnus a chuireas sinn air falbh i d'a h-àite féin.

3 Agus thubhairt iadsan, Ma chuireas sibh air falbh àirc Dhé Israeil, na cuiribh uaibh falamh i; ach air gach uile chor ìocaibh[f] dha tabhartas-eusaontais: an sin slànuichear sibh, agus bithidh fios agaibh c'ar son nach do phill a làmh uaibh.

4 An sin thubhairt iad, Ciod an tabhartas eusaontais a dh'ìocas sinn da? Agus fhreagair iadsan, Cùig neasgaidean òir, agus cuig luchaidh òir, *a réir* àireimh thighearnan nam Philisteach; oir *bha* aon phlàigh oirbh uile, agus air bhur tighearnaibh.

5 Uime sin ni sibh dealbhan bhur neasgaidean, agus dealbhan bhur luchaidh, a tha milleadh na tìre; agus bheir sibh glòir do Dhia Israeil: theagamh gu'n eutromaich e a làmh dhibh, agus do bhur déibh, agus do bhur tìr.

6 C'ar son uime sin a chruaidhicheas sibh bhur cridhe, mar a chruaidhich na h-Eiphitich agus Pharaoh an cridhe? an uair a rinn e gu h-iongantach nam measg, nach do leig iad an sluagh air falbh, agus dh'imich iad?

7 A nis uime sin deanaibh feun nomha[g], agus gabhaibh dà mhartbhainne, air nach deachaidh cuing; agus ceanglaidh sibh na mairt ris an fheun, agus bheir sibh an laoigh dhachaidh uatha.

8 Agus gabhaidh sibh àirc an Tighearna; agus cuiridh sibh i air an fheun; agus cuiridh sibh na seudan òir, a dh'ìoceas sibh dha *mar* thabhartas-eusaontais, ann an cobhan[h] r'a taobh,

[a] *dh'fhàsaich.* [b] *hemorrhoids.* Sasg. [c] *cruaidh.* [d] *uachdarana.* [e] *glaodh.* [f] *thugaibh air ais.* [g] *cairt nuadh.* [h] *ciste.*

taobh, agus cuiridh sibh air falbh i, a chum as gu'n imich i.

9 Agus chi sibh, ma théid i suas rathad a criche féin gu Betsemes, *an sin* rinn e an t-olc mòr so oirnn: ach mur *dthéid*, an sin bithidh fios againn nach i a làmh-san *a* bhuail sinn; is tuiteamas *a* thàinig oirnn.

10 Agus rinn na daoine mar sin: agus ghabh iad dà mhart-bhainne, agus cheangail iad ris an fheun iad, agus dhruid [a] iad an laoigh a stigh.

11 Agus chuir iad àirc an Tighearna air an fheun, agus an cobhan leis na luchaidh òir, agus dealbhan an neasgaidean fola.

12 Agus ghabh na mairt an rathad dìreach gu slighe Bhetsemeis; air an rathad mhòr dh'imich iad, a' geumnaich mar a dh'imich iad, agus cha do thionndaidh iad a leth-taobh a dh'ionnsuidh na làimhe deise no na làimhe clìthe; agus chaidh tighearnan nam Philisteach nan déigh gu crìch Bhetsemeis.

13 Agus *bha muinntir* Bhet-semeis a buain an cruithneachd anns a' ghleann; agus thog iad suas an sùilean, agus chunnaic iad an àirc, agus rinn iad gairdeachas 'nuair a chunnaic iad *i*.

14 Agus thàinig am feun gu achadh Iosua a' Bhet-semesich, agus sheas e 'n sin, far *an robh* clach mhòr; agus sgoilt iad fiodh an fheuna, agus thug iad suas na mairt nan ìobairt-loisgte do'n Tighearna.

15 Agus thug na Lebhithich sìos àirc an Tighearna, agus an cobhan a *bha* maille rithe, anns *an robh* na seudan òir, agus chuir iad air a' chloich mhòir *iad*: agus thug daoine Bhetsemeis suas tabhartais-loisgte, agus dh'ìobair iad ìobairte san là sin féin do'n Tighearna.

16 Agus an uair a chunnaic cùig tighearnan nam Philisteach *e*, phill iad gu Hecron san là sin féin.

17 Agus *is* iad so na neasgaidean òir, a dh'ìoc na Philistich *mar* thabhartas-eusaontais do'n Tighearna; air son Asdoid aon, air son Ghasa aon, air son Ascaloin aon, air son Ghat aon, air son Hecroin aon:

18 Agus na luchaidh òir, *a réir* àireimh uile bhailte nam Philisteach, *a bhuineadh* do na cùig tighearnaibh, araon bhailte daingnichte agus bhailte gun bhalladh, eadhon gu ruig a' chlach mhòr, air an do chuir iad sìos àirc an Tighearna, *clach a tha làthair* gus an la 'n diugh ann an achadh Iosua a' Bhet-semesich.

19 Ach bhuail e daoine Bhetsemeis, a chionn gu'n do sheall iad air àirc an Tighearna; bhuail e eadhon do'n t-sluagh tri fichead agus deichnear fhear [b]: agus rinn an sluagh caoidh, do bhrìgh gu'n do bhuail an Tighearna *cuid* do'n t-sluagh le plàigh [c] mhòir.

20 Agus thubhairt daoine Bhetsemeis, Cò is urrainn seasamh an làthair an Tighearna Dé naomha so; agus cia dh'ionnsuidh a théid i[d] suas uainne?

21 Agus chuir iad teachdairean a dh'ionnsuidh luchd-àiteachaidh Chiriat-iearim, ag ràdh, Thug na Philistich air a h-ais àirc an Tighearna; thigibh a nuas, thugaibh suas i d'ar n-ionnsuidh.

C A I B. VII.

AGUS thàinig daoine Chiriat-iearim, agus thug iad suas àirc an Tighearna, agus thug iad a steach i do thigh Abinadaib ann an Gibeah[e], agus naomhaich iad a mhac Eliasar, a ghleidheadh àirc an Tighearna.

2 Agus tharladh, o'n là a dh'fhan an àirc ann an Ciriat-iearim, gu'n robh an aimsir fad, (oir bha fichead bliadhna ann) agus rinn tigh Israeil uile caoidh an déigh an Tighearna.

3 Agus labhair Samuel ri uile thigh Israeil, ag ràdh, Ma philleas sibh a dh'ionnsuidh an Tighearna le'r n-uile chridhe, *an sin* cuiribh air falbh na diathan coimheach as bhur measg, *Baalim* agus Astarot; agus ulluichibh bhur cridhe a chum an Tighearna, agus deanaibh seirbhis dhasan a mhàin, agus saoraidh e sibh a làimh nam Philisteach.

4 An

[a] *ghléidh.* [b] *tri fichead agus deichnear fhear, agus leth-cheud mìle fear.* [c] *àr, sgrios.* [d] i. e. an àirc. [e] *anns a' chnoc.*

4 An sin chuir clann Israeil air
falbh Baalim agus Astarot, agus rinn
iad seirbhis do'n Tighearn a mhàin.
5 Agus thubhairt Samuel, Cruinn-
ichibh Israel uile gu Mispeh, agus
ni mise urnuigh air bhur son ris an
Tighearna.
6 Agus chruinnich iad an ceann a'
chéile gu Mispeh, agus tharruing iad
uisge, agus dhòirt iad a mach *e* an
làthair an Tighearna, agus throisg
iad air an-la sin, agus thubhairt iad
an sin, Pheacaich sinn an aghaidh an
Tighearna. Agus thug Samuel breth
air cloinn Israeil ann am Mispeh.
7 Agus chuala na Philistich gu'n
'robh clann Israeil air cruinneachadh
an ceann a chéile gu Mispeh, agus
chaidh tighearnan nam Philisteach
suas an aghaidh Israeil: agus an uair
a chuala clann Israeil *e*, bha eagal
orra roimh na Philistich.
8 Agus thubhairt clann Israeil ri
Samuel, Na sguir do ghlaodhaich ris
an Tighearna ar Dia air ar son, a
chum as gu'n saor e sinn a làimh nam
Philisteach.
9 Agus ghabh Samuel uan deoth-
ail[a], agus thug e suas e uile mar
ìobairt-loisgte do'n Tighearna; agus
ghlaodh Samuel ris an Tighearn air
son Israeil, agus chual' an Tighearn
e.
10 Agus an uair a bha Samuel a'
toirt suas na h-iobairt-loisgte, thar-
ruing na Philistich am fagus gu cath
an aghaidh Israeil: ach rinn an Ti-
ghearna tairneanach le fuaim[b] mhòir
san là sin air na Philistich, agus
chlaoidh e iad, agus bhuaileadh iad
roimh Israel.
11 Agus chaidh fir Israeil a mach
a Mispeh, agus ruaig[c] iad na Philis-
tich, agus bhuail sind iad, gus *an
d'thàinig iad* fuidh Bhet-car.
12 An sin ghabh Samuel clach, a-
gus shuidhich *e i* eadar Mispeh agus
Sen; agus thug e Ebenezer[d] mar
ainm oirre, agus thubhairt e, Gu
ruige so chuidich an Tighearna
leinn.
13 Agus dh'irioslaicheadh[e] na
Philistich, agus cha d'thàinig iad
tuille gu crìch Israeil: agus bha làmh
an Tighearn an aghaidh nam Philis-
teach uile làithean Shamueil.
14 Agus thugadh na bailtean a
ghlac na Philistich o Israel, air an
ais do Israel, o Ecron eadhon gu
Gat; agus shaor Israel an crìochan a
làimh nam Philisteach; agus bha sìth
eadar Israel agus na h-Amoraich.
15 Agus thug Samuel breth air
Israel rè uile làithean a bheatha.
16 Agus chaidh e o bhliadhna gu
bliadhna m'an cuairt gu Betel, agus
Gilgal, agus Mispeh, agus thug e
breth air Israel anns na h-àitibh sin
uile.
17 Agus *bha* 'theachd air ais gu
Ramah; oir an sin *bha* a thigh: agus
an sin thug e breth air Israel, agus an
sin thog e altair do'n Tighearna.

CAIB. VIII.

AGUS an uair a bha Samuel aosda,
chuir e a mhic nam breitheamh-
naibh os cionn Israeil.
2 Agus b'e ainm a cheud-ghin mic
Ioel, agus ainm a dhara *mic* Abiah:
bha iad nam breitheamhnaibh ann am
Beer-seba.
3 Agus cha do ghluais a mhic na
shlighibh-san, ach chlaon iad an
déigh tairbhe[f], agus ghabh iad duais[g],
agus dh'fhiar iad breitheanas.
4 An sin chruinnich uile shean-
airean Israeil iad féin an ceann a
chéile, agus thàinig iad a dh'ionnsuidh
Shamueil gu Ramah.
5 Agus thubhairt iad ris, Feuch,
tha thusa air fàs aosda, agus cha 'n'eil
do mhic a' gluasad ann do shlighibh:
a nis ma ta dean dhuinne righ gu
breth a thoirt oirnn, mar na cinnich
uile.
6 Ach mhi-thaitinn an ni ri Sa-
muel[h] an uair a thubhairt iad, Thoir
dhuinn righ gu breth a thoirt oirnn:
agus rinn Samuel urnuigh ris an Ti-
ghearna.
7 Agus thubhairt an Tighearna ri
Samuel, Eisd ri guth an t-sluaigh
anns gach *ni* a their iad riut: oir
riutsa

[a] *bainne.* Eabh. [b] *torainn.* [c] *lean.* [d] *i. e. clach a' chuideachaidh* [e] *cheannsaicheadh.* [f] *sannt.* [g] *tiodhlacan.* [h] *bha an ni olc ann an sùilibh Shamueil.*

riutsa cha do chuir iad cùl, ach riumsa chuir iad cùl, a chum nach rioghaichinn os an ceann.

8 A réir nan uile oibre a rinn iad o'n là anns an d'thug mi nios iad as an Eiphit, gu ruig an la 'n diugh, leis an do thréig iad mi, agus an d'rinn iad seirbhis do dhiathaibh eile, mar so *tha* iad a' deanamh mar an ceudna riutsa.

9 A nis uime sin éisd r'an guth: gidheadh bheir thu gu cinnteach fianuis nan aghaidh, agus cuiridh tu 'n céill dhoibh lagh[a] an righ a rioghaicheas os an cionn.

10 Agus dh'innis Samuel uile bhriathran an Tighearna do'n t-sluagh, a *bha* 'g iarraidh righ air.

11 Agus thubhairt e, So mar a bhitheas lagh an righ a rioghaicheas os bhur cionn: Gabhaidh e bhur mic, agus orduichidh e dha féin *iad* a chum a charbadan, agus *gu bhi* nam marcaich aige, agus *gu* ruith roimh a charbadaibh;

12 Agus gu'n cur nan ceannardaibh dha féin air mhìltibh, agus nan ceannardaibh air leth-cheudaibh, agus a dh'ar 'fhearainn[b], agus a bhuain 'fhogharaidh, agus a dheanamh innil cogaidh air a shon, agus innil air son a charbada.

13 Agus gabhaidh e bhur nigheana a dheanamh oladh ungaidh cùbhraidh, agus *gu bhi* nam ban-chòcairibh, agus nam ban-fhuineadairibh.

14 Agus gabhaidh e bhur n-achaidh, agus bhur fion-liosan, agus bhur liosan-olaidh, *eadhon* a' chuid a's fearr *dhiubh*, agus bheir e *iad* d'a òglachaibh.

15 Agus gabhaidh e an deachamh d'ar siol, agus d'ar fion-liosaibh, agus bheir e d'a luchd-dreuchd *e*, agus d'a òglachaibh.

16 Agus gabhaidh e bhur n-òglaichsa agus bhur banoglaich, agus na h-òganaich a's fearr agaibh, agus bhur n-asail, agus cuiridh e chum 'oibre féin *iad*.

17 Gabhaidh e an deachamh d'ar caoraich: agus bithidh sibh 'nar seirbhisich aige.

18 Agus glaodhaidh sibh a mach san là sin o làthair bhur righ a thagh sibh dhuibh féin; agus cha 'n éisd an Tighearna ribh san là sin.

19 Gidheadh, dhiùlt an sluagh éisdeachd ri guth Shamueil, agus thubhairt iad, Ni h-eadh; ach bithidh righ *againne* os ar cionn:

20 Agus bithidh sinne mar an ceudna mar na cinnich uile, agus bheir ar righ breth oirnn, agus théid e mach romhainn, agus cuiridh[c] e ar cathan.

21 Agus chuala Samuel uile bhriathran an t-sluaigh, agus dh'aithris e iad ann an cluasaibh an Tighearna.

22 Agus thubhairt an Tighearna ri Samuel, Eisd r'an guth, agus dean righ dhoibh. Agus thubhairt Samuel ri fir Israeil, Rachaibh gach duine dhibh d'a bhaile féin.

CAIB. IX.

A NIS bha duine do Bheniamin, d'am *b*'ainm Cis, mac Abieil, mhic Sheroir, mhic Bhechorait, mhic Aphiah, Beniaminich, duine treun ann an neart.

2 Agus bha mac aige, d'am *b*'ainm Saul, roghadh òig-fhir, agus e tlachdmhor[d]; agus cha *robh* am measg chloinn Israeil fear bu tlachdmhoire na e: o 'ghuaillibh agus o sin suas b'airde e na 'n sluagh uile.

3 Agus chailleadh asail Chis, athar Shauil; agus thubhairt Cis r'a mhac Saul, Thoir leat a nis aon do na h-òganaich, agus éirich, falbh, iarr na h-asail.

4 Agus chaidh e troimh mhonadh Ephraim, agus chaidh e troimh thìr Shalisa, ach cha d'fhuair siad *iad*: an sin chaidh e[e] troimh thìr Shalim, agus cha *robh iad an sin*: agus chaidh e troimh thìr nam Beniamineach, ach cha d'fhuair siad *iad*.

5 *Agus* an uair a thàinig iad gu tìr Shuph, thubhairt Saul r'a òganach a *bha* maille ris, Thig agus pilleamaid, air eagal gu'n leig m'athair dheth a chùram mu na h-asail, agus gu'm bi smuairean air m'ar timchioll-ne.

6 Agus thubhairt esan ris, Feuch a nis, *tha* duine le Dia anns a' bhaile so, agus *is* duine urramach e; thig gach ni

[a] *riaghailt, seòl.* [b] *chum a threabhteachd a threbhadh.* [c] *cogaidh* [d] *maith, àluinn.* [e] *iad.*

mi a their e gu cinnteach gu crìch: a nis ma ta rachamaid an sin; theagamh gu'n innis e dhuinn ar slighe, air an còir dhuinn gluasad.

7 An sin thubhairt Saul r'a òganach, Ach feuch, *ma* théid sinn, ciod a bheir sinn a dh'ionnsuidh òglaich[a] Dhé? oir chaitheadh an t-aran 'nar soithichibh, agus cha '*n'eil* tiodhlac ann ri thoirt a dh'ionnsuidh òglaich Dhé: ciod ma ta a ni sinn?

8 Agus fhreagair an t-òganach Saul a ris, agus thubhairt e, Feuch, tha agam an so a'm' làimh an ceathramh cuid do shecel airgid: *sin* bheir mi do òglach Dhé, agus innsidh e dhuinn ar slighe.

9 (O shean[b] ann an Israel, an uair a rachadh duine a dh'fhiosrachadh do Dhia, mar so labhradh e, Thigibh, agus rachamaid a dh'ionnsuidh an fhirsheallaidh[c]: oir esan *ris an abrar* a nis fàidh, o shean theirte fear-seallaidh ris.)

10 An sin thubhairt Saul r'a òganach, Is maith a labhair thu, thig, imicheamaid: agus dh'imich iad do'n bhaile, far *an robh* òglach Dhé.

11 *Agus* an uair a chaidh iad suas uchdach a' bhaile, fhuair iad gruagaichean a' dol a mach a tharruing uisge, agus thubhairt iad riu, Am bheil am fear-seallaidh an so?

12 Agus fhreagair iadsan iad, agus thubhairt iad, Tha; feuch *tha e* roimhibh[d]: deanaibh cabhag[e] a nis, oir an diugh tha e air teachd do'n bhaile; oir *tha* iobairt aig an t-sluagh an diugh anns an ionad ard.

13 An uair a théid sibh a steach do'n bhaile, air ball gheibh sibh e, mun dthéid e suas do'n ionad ard a dh'itheadh: oir cha 'n ith an sluagh gus an dthig e, a chionn gu'm beannaich e an iobairt, agus an déigh sin ithidh iadsan a chuireadh. A nis uime sin rachaibh suas, oir mu'n àm so gheibh sibh e.

14 Agus chaidh iad suas do'n bhaile: *agus* an uair a bha iad a' dol a steach gu meadhon a' bhaile, feuch, thàinig Samuel a mach nan coinneamh, gu dol suas do'n ionad ard.

15 A nis dh'innis[f] an Tighearn ann an cluais Shamueil, la mun d'thàinig Saul, ag ràdh,

16 Mu'n àm so am màireach cuiridh *mi* a'd' ionnsuidh duine a tìr Bheniamin, agus ungaidh tu e na cheannard air mo shluagh Israel, agus saoraidh e mo sluagh a làimh nam Philisteach: oir dh'amhairc mi air mo shluagh, a chionn gu'n d'thàinig an glaodh a m' ionnsuidh.

17 Agus an uair a chunnaic Samuel Saul, thubhairt an Tighearna ris, Feuch an duine mu'n do labhair mi riut: rioghaichidh esan os cionn mo shluaigh.

18 An sin thàinig Saul am fagus do Shamuel anns a' gheatadh[g], agus thubhairt e, Innis dhomh, guidheam ort, c'àit *am bheil* tigh an fhir-sheallaidh?

19 Agus fhreagair Samuel Saul, agus thubhairt e, *Is* mise am fearseallaidh: gabh suas romham do'n ionad ard, agus ithidh sibh[h] maille riumsa an diugh; agus leigidh mi leat falbh sa' mhaduinn, agus gach *ni a ta* ann do chridhe innsidh mi dhuit.

20 Agus a thaobh nan asal agad a chailleadh o cheann tri laithean, na suidhich t'inntinn orra, oir fhuaradh iad: agus cò air *am bheil* uile dhéigh Israeil[k]? nach ann ortsa, agus air uile thigh t'athar?

21 Agus fhreagair Saul agus thubhairt e, Nach Beniamineach mise do'n treubh a's lugha ann an Israel? agus *nach e* mo theaghlach a's lugha do uile theaghlaichibh tréibhe Bheniamin? c'ar son uime sin a *tha* thu labhairt riumsa air an dòigh so?

22 Agus ghabh Samuel Saul agus 'òganach, agus thug e steach iad do'n t-seòmar-chuirm, agus thug e àite-*suidhe* dhoibh aig ceann-toisich nan daoine a chaidh chuireadh, agus iad mu thimchioll deich fir fhichead.

23 Agus thubhairt Samuel ris a' chòcaire, Thoir *dhomh* a' chuibhrionn a thug

[a] *duine.* Eabh. [b] *Roimhe.* [c] *an sheuchadoir.* [d] *romhad.* Eabh. [e] *dean cabhag.* Eabh. [f] *thaisbein, dh'fhoillsich.* Eabh. [g] *am meadhon a' bhaile.* [h] *tu.* [k] *d'an tu buine uile nithe taitneach Israeil.*

a thug mi dhuit, mu'n dubhairt mi
riut, Cuir làimh riut i.

24 Agus thog an còcaire an slin-
nein, agus *an ni* a *bha* air, agus chuir
e fa chomhair Shauil *e*, agus thubh-
airt *Samuel*, Feuch, cuir an ni sin a
dh'fhàgadh air do bheulaobh, *agus*
ith; oir dh'ionnsuidh an àm so
ghleidheadh dhuit e, *o* thubhairt mi,
Thug mi cuireadh do'n t-sluagh. A-
gus dh'ith Saul maille ri Samuel air
an là sin.

25 Agus an uair a thàinig iad a
nuas o'n ionad ard do'n bhaile, labhair
Samuel ri Saul air mullach an tighe.

26 Agus dh'éirich iad gu moch:
agus mu bhriseadh na fàire, ghairm
Samuel air Saul gu mullach an tighe,
ag ràdh, Eirich, a chum gu'n leig mi
air falbh thu. Agus dh'éirich Saul,
agus chaidh iad a mach le chéile, e
féin agus Samuel.

27 *Agus* an uair a bha iad a' dol
sìos gu iomall a' bhaile, thubhairt
Samuel ri Saul, Abair ris an òganach
dol air aghaidh romhainn, (agus
chaidh e air aghaidh:) ach seas thusa
tamull, agus cuiridh mi 'n céill dhuit
focal Dé.

C A I B. X.

AN SIN ghabh Samuel corn [a] ola,
agus dhoirt e air a cheann *e*, a-
gus phòg se e, agus thubhairt e, Nach
ann a chionn gu'n d'ung an Tighearn
thu *gu bhi* d'cheannard air 'oighreachd
féin?

2 'Nuair a dh'imicheas tu 'n diugh
uamsa, an sin gheibh thu dithis
dhaoine làimh ri uaigh Racheil, ann
an crìch Bheniamin ann an Selsah:
agus their iad riut, Fhuaradh na
h-asail a chaidh thu a dh'iarraidh; a-
gus feuch, leig t'athair dheth cùram
nan asal, agus tha smuairein air m'ar
timchioll-sa, ag ràdh, Ciod a ni mi
air son mo mhic?

3 An sin théid thu air t'aghaidh as
sin, agus thig thu dh'ionnsuidh còmh-
naird [b] Thaboir, agus coinnichidh
thu 'n sin triuir dhaoine a' dol suas a
dh'ionnsuidh Dhé gu Betel, aon *diubh*
a' giùlan thri meann, agus aon *eile* a'
giùlan thri builinnean arain, agus aon
eile a' giùlan searraig fhìona.

4 Agus cuiridh iad fàilte ort, agus
bheir iad dhuit dà *bhuilinn* arain, a-
gus gabhaidh tu as an làimh *iad*.

5 Na dhéigh sin thig thu gu cnoc
Dhé, far *am bheil* freiceadan nam Phi-
listeach: agus tarlaidh 'nuair a thig
thu an sin do'n bhaile, gu'n coinnich
thu cuideachd fhàidhean a' teachd a
nuas o'n ionad ard, le saltair, agus
tiompan, agus pìob, agus clàrsach
rompa, agus iad ri fàidheadoireachd.

6 Agus tuirlingidh [c] spiorad an Ti-
ghearn ort, agus ni thu fàidheadoir-
eachd maille riu-san, agus tionndaidh-
ear [d] thu a'd' dhuine eile.

7 Agus an uair a thig na comharan
sin ort, ni thu mar a fhreagras a' chùis
duit [e], oir *bithidh* Dia maille riut.

8 Agus théid thu sìos romham-sa
gu Gilgal, agus feuch, théid mise
sìos a'd' ionnsuidh a thoirt suas thabh-
artasa-loisgte, agus a dh'iobradh iob-
airtean thabhartasa-sìth; seachd laith-
ean fanaidh tu, gus an dthig mise
a'd' ionnsuidh, agus gu'n dthoir mi
fios dhuit ciod a ni thu.

9 Agus an uair a thionndaidh e a
chùl gu falbh o Shamuel, thug Dia
dha cridhe eile; agus thàinig na
comharan sin uile gu crìch air an là
sin féin.

10 Agus thàinig e o sin [f] do'n
chnoc; agus feuch, choinnich cuid-
eachd fhàidhean e, agus thuirling
spiorad Dhé air, agus rinn e fàidh-
eadoireachd nam measg.

11 A nis an uair a chunnaic iadsan
uile a ghabh eòlas air roimhe, feuch,
gu'n d'rinn e fàidheadoireachd maille
ris na fàidhibh, an sin thubhairt an
sluagh gach aon ri chéile, Ciod e so
thàinig air mac Chis? Am *bheil* Saul
cuideachd am measg nam fàidhean?

12 Agus fhreagair duine as an àite
sin, agus thubhairt e, Ach cò e an
athair [g]? uime sin bha e na ghnàth-
fhocal, Am *bheil* Saul cuideachd am
measg nam fàidhean?

13 Agus an uair a chuir e crìoch
air fàidheadoireachd a dheanamh,
thàinig e do'n ionad ard.

 14 Agus

[a] *gloin.* [b] *doire.*
[e] *an ni sin a gheibh do làmh.* Eabh.
[c] *thig.* [d] *iompoichear.*
[f] *iad an sin.* [g] *cò e 'athair?*

14 Agus thubhairt bràthair-athar
Shauil ris, agus r'a òganach, C'àite
chaidh ſibh? agus thubhairt eſan [a],
A dh'iarraidh nan aſal: agus an uair
a chunnaic ſinn nach *robh* iad *r'am
fagbail*, thàinig ſinn gu Samuel.

15 Agus thubhairt bràthair-athar
Shauil, Innis dhomh, guidheam ort,
ciod a thubhairt Samuel ribh.

16 Agus thubhairt Saul ri bràthair-
'athar, Dh'innis e dhuinn gu cinnteach
gu'n d'fhuaradh na h-aſail; ach a
thaobh na rìoghachd, cha d'innis e
dha ciod a thubhairt Samuel.

17 Agus ghairm Samuel an ſluagh
r'a chéile a dh'ionnſuidh an Tighear-
na gu Miſpeh;

18 Agus thubhairt e ri cloinn Iſ-
raeil, Mar ſo tha'n Tighearna Dia
Iſraeil ag ràdh, Thug mi nìos Iſrael
as an Eiphit, agus ſhaor mi ſibh as
làimh nan Eiphiteach, agus as làimh
nan rìoghachdan uile, a bha deanamh
ainneart oirbh.

19 Gidheadh chuir ſibhſe an diugh
cùl ri'r Dia, eſan a ſhaor ſibh o bhur
n-uile agus bhur teanntachdaibh gu
léir: agus thubhairt ſibh, Ni h-eadh,
ach cuiridh tu righ os ar cionn. A
nis uime ſin nochdaibh ſibh féin am
fianuis an Tighearn a réir bhur treubh-
an, agus a réir bhur mìlte.

20 Agus an uair a thug Samuel air
uile threubhan Iſraeil teachd am fagus,
ghabhadh [b] treubh Bheniamin.

21 Agus an uair a thug e air tréibh
Bheniamin teachd am fagus a réir an
teaghlaichean, ghabhadh teaghlach
Mhatri: agus an uair a thug e air
teaghlach Mhatri teachd am fagus a
líon fear agus fear, ghabhadh Saul
mac Chis: agus an uair a dh'iarr
iad e, cha d'fhuaradh e.

22 Uime ſin dh'fhiosraich iad fa-
thaſt do'n Tighearna, an dthigeadh
an duine fathaſt an ſin; agus fhreag-
air an Tighearna, Feuch, dh'fholaich
ſe e féin am meaſg na h-airneis.

23 Agus ruith iad, agus thug iad
as ſin e: agus an uair a ſheas e am
meadhon an t-ſluaigh, bha e ni b'airde
na'n ſluagh uile, o 'ghuaillibh agus o
ſin ſuas.

24 Agus thubhairt Samuel ris an
t-ſluagh uile, Am faic ſibh eſan a
thagh an Tighearna, nach 'eil *neach*
coſmhuil ris am meaſg an t-ſluaigh
uile? agus rinn an ſluagh uile ìolach [c],
agus thubhairt iad, Gu ma fada beo
an righ.

25 An ſin dh'innis Samuel do'n
t-ſluagh lagh [d] na rìoghachd, agus
ſcrìobh e ann an leabhar *e*, agus thaiſg
e ſuas am fianuis an Tighearn *e*: a-
gus leig Samuel an ſluagh uile air
falbh, gach duine d'a thigh.

26 Agus chaidh Saul mar an ceud-
na dhachaidh gu Gibeah, agus chaidh
maille ris *daoine* treun, aig an do
bhean Dia r'an cridhe.

27 Ach thubhairt mic BheliaI,
Cionnus a ſhaoras am fear ſo ſinn? a-
gus rinn iad dìmeas air, agus cha
d'thug iad tiodhlac ſam bith d'a ionn-
ſuidh: ach dh'fhan eſan na thoſd.

CAIB. XI.

AN SIN chaidh Nahas an t-Amon-
ach ſuas, agus champaich e an
aghaidh Iabeis-ghilead: agus thubh-
airt uile dhaoine Iabeis ri Nahas,
Dean coimhcheangal ruinn, agus ni
ſinne ſeirbhis dhuit.

2 Agus fhreagair Nahas an t-Amon-
ach iad, Air *a' chumha* ſo ni mi *coimh-
cheangal* ribh, gu'n ſpìon mi mach
gach sùil dheas agaibh, agus gu'n
cuir mi am maſladh [e] ſo air Iſrael
uile.

3 Agus thubhairt ſeanairean Iabeis
ris, Thoir dhuinn dàil ſheachd laith-
ean, a chum as gu'n cuir ſinn teachd-
airean gu uile chrìochaibh Iſraeil;
agus mur bi neach ſam bith gu'r ſaor-
adh, an ſin théid ſinn a mach a'd'
ionnſuidh.

4 An ſin thàinig na teachdairean
gu Gibeah Shauil, agus dh'innis iad
an ſgeul ann an cluaſaibh an t-ſluaigh:
agus thog an ſluagh uile ſuas an guth,
agus ghuil iad.

5 Agus feuch, thàinig Saul an
déigh a' bhuair as a' mhachair, agus
thubhairt Saul, Ciod *a thàinig* air an
t-ſluagh, gu'm bheil iad a' gul? agus
dh'innis iad da ſgeul dhaoine Iabeis.

6 Agus thuirling ſpiorad Dhé air
Saul an uair a chual' e an ſgeul ſin,
agus laſadh 'fhearg gu mòr.

7 Agus ghabh e cuing dhamh, agus

[a] *iadſan.* [b] *i. e. le crannchur.* [c] *gáir.* [d] *riaghailt, ſeòl.* [e] *ſpìd.*

ghearr e sìos nam mìribh iad, agus chuir e *iad* air feadh uile chrìochan Israeil le làimh theachdairean, ag ràdh, Ge b'e nach dthig a mach an déigh Shauil, agus an déigh Shamueil, mar so nithear r'a dhaimh: agus thuit eagal an Tighearn air an t-sluagh, agus thàinig iad a mach mar aon duine[a].

8 Agus an uair a dh'àireamh e iad ann am Besec, bha ann do chloinn Israeil tri cheud mìle, agus do fhir Iudah deich mìle fichead.

9 Agus thubhairt iad ris na teachdairibh a thàinig, Mar so their sibh ri fir Iabeis-ghilead, Am màireach, an uair a dh'fhàsas a' ghrian teth, bithidh cabhair[b] agaibh. Agus thàinig na teachdairean, agus dh'innis iad *sin* do fhir Iabeis; agus bha aoibhneas orra.

10 Uime sin thubhairt fir Iabeis[c], Am màireach théid sinn a mach d'ar n-ionnsuidh, agus ni sibh ruinn a réir gach *ni* a's àill leibh[d].

11 Agus air an la màireach chuir Saul an sluagh nan tri buidhnibh, agus thàinig iad gu meadhon an fheachd ann am faire na maidne, agus bhuail iad na h-Amonaich gus an d'fhàs an latha teth: agus sgapadh iadsan a mhair, air chor as nach d'fhàgadh dithis diubh cuideachd.

12 Agus thubhairt an sluagh ri Samuel, Cò a thubhairt, Cha[e] rìoghaich Saul os ar ceann? thugaibh *an so* na daoine a chum as gu'n cuir sinn gu bàs iad.

13 Agus thubhairt Saul, Cha chuirear duine gu bàs air an là so: oir an diugh dh'oibrich an Tighearna saorsa ann an Israel.

14 An sin thubhairt Samuel ris an t-sluagh, Thigibh, agus rachamaid do Ghilgal, agus ath-nuadhaicheamaid an sin an rìoghachd.

15 Agus chaidh an sluagh uile gu Gilgal, agus rinn iad Saul an sin na righ am fianuis an Tighearn ann an Gilgal; agus dh'ìobair iad an sin ìobairtean thabhartasa-sìth am fianuis an Tighearna: agus rinn Saul an sin agus fir Israeil uile gairdeachas mòr.

C A I B. XII.

AGUS thubhairt Samuel ri h-Israel uile, Feuch, dh'éisd mi ri'r guth anns gach ni a thubhairt sibh rium, agus rinn mi righ os bhur cionn.

2 Agus a nis feuch, *tha*'n righ ag imeachd roimhibh[f]: agus tha mise aosmhor agus ceannliath, agus feuch, *tha* mo mhic maille ribh: agus ghluais mise[g] 'nar fianuis o m'òige gus an la 'n diugh.

3 Feuch, *tha* mi 'n so; thugaibh fianuis a'm' aghaidh an làthair an Tighearna, agus an làthair 'Aoin ungta: cò esan o'n d'thug mi a dhamh? agus cò esan o'n d'thug mi 'asal? agus co esan air an d'rinn mi feall? cò esan air an d'rinn mi ainneart? agus cò esan o a làimh an do ghabh mi duais a chum mo shùilean a dhalladh leatha? agus aisigidh mi[h] dhuibh.

4 Agus thubhairt iadsan, Cha d'rinn thu feall oirnne, ni mò a rinn thu ainneart oirnn, ni mò a ghabh thu ni air bith o làimh aon duine.

5 Agus thubhairt e riu, Tha 'n Tighearna na fhianuis 'nar n-aghaidh, agus tha 'Aon ungta na fhianuis an diugh, nach d'fhuair sibh a'm' làimhsa ni sam bith. Agus fhreagair iadsan, *Tha e* na fhianuis.

6 Agus thubhairt Samuel ris an t-sluagh, *Is e* 'n Tighearn a rinn[k] Maois agus Aaron, agus a thug bhur n-aithriche nìos a tìr na h-Eiphit.

7 A nis uime sin seasaibh, a chum as gu'n dthoir mi breth oirbh[l] an làthair an Tighearn, a thaobh uile ghnìomhara ceart an Tighearn, a rinn e dhuibhse agus do bhur n-aithrichibh.

8 An uair a thàinig Iacob a steach do'n Eiphit, agus a ghlaodh bhur n-aithriche ris an Tighearna, an sin chuir an Tighearna *d'an ionnsuidh* Maois agus Aaron, a thug bhur n-aithriche mach as an Eiphit, agus a thug

[a] *le aon rùn.* [b] *còmhnadh, saorsa.* [c] *fir Iabeis ri Nabas righ nan Amonach.* [d] a bhios *maith nar sùilibh.* [e] *An.* [f] *na cheannard oirbh.* [g] *chaith mi mo bheatha.* [h] *bheir mi air ais.* [k] *a chruthaich, a thog suas.* [l] *gu'n tagair, gu'n reusonaich mi ribh.*

thug orra còmhnuidh ghabhail anns
an àite ſo.
9 Agus an uair a dhi-chuimhnich
iad an Tighearn an Dia, thug e
thairis iad do làimh Shiſera, ceann-
aird armailte Haſoir, agus do làimh
nam Philiſteach, agus do làimh righ
Mhoaib, agus chog iad nan aghaidh.
10 Agus ghlaodh iad ris an Tigh-
earna, agus thubhairt iad, Pheacaich
ſinn, do bhrìgh gu'n do thréig ſinn an
Tighearn, agus gu'n d'rinn ſinn ſeir-
bhis do Bhaalim agus Aſtarot; ach a
nis ſaor ſinn as làimh ar naimhde, a-
gus ni ſinn ſeirbhis dhuit.
11 Agus chuir an Tighearn uaith
Ierubaal, agus Barac[a], agus Iephtah,
agus Samuel[b], agus ſhaor e ſibh as
làimh bhur naimhdean air gach taobh,
agus ghabh ſibh còmhnuidh gu tèar-
uinte.
12 Agus an uair a chunnaic ſibh
gu'n d'thàinig Nahas righ chloinn
Amoin 'nar n-aghaidh, thubhairt
ſibh riumſa, Ni h-eadh, ach riogh-
aichidh righ os ar cionn: an uair *a
b'e* an Tighearna bhur Dia bhur righ.
13 A nis uime ſin feuch an righ a
thagh ſibh, *agus* a dh'iarr ſibh: agus
feuch, chuir an Tighearna righ os
bhur cionn.
14 Ma bhios eagal an Tighearn
oirbh, agus *ma* ni ſibh ſeirbhis dha,
agus *ma* dh'éiſdeas ſibh r'a ghuth, a-
gus nach dean ſibh ceannairc an agh-
aidh àithne an Tighearna[c], an ſin
bithidh ſibh féin tèaruinte[d], agus
mar an ceudna an righ e rìoghaicheas
os bhur cionn an déigh an Tighearna
bhur Dé[e].
15 Ach mur éiſd ſibh ri guth an
Tighearna, agus gu'n dean ſibh ceann-
airc an aghaidh àithne an Tighearna,
an ſin bithidh làmh an Tighearna
'nar n-aghaidh-ſa, mar *a bha i* 'n
aghaidh bhur n-aithriche.
16 A nis uime ſin ſeaſaibh agus
faicibh an ni mòr ſo a ni an Tighear-
na fa chomhair bhur ſùl.
17 Nach *'eil* foghara a chruith-
neachd an diugh? gairmidh miſe
air an Tighearna, agus cuiridh e *nuas*
tairneanach agus uiſge; a chum as
gu'n tuig agus gu'm faic ſibh gu'*m
bheil* bhur n-olc mòr, a rinn ſibh ann
an ſealladh an Tighearna, le righ
iarraidh dhuibh féin.
18 Agus ghairm Samuel air an
Tighearna, agus chuir an Tighearn a
nuas tairneanach agus uiſge air an là
ſin, agus ghabh an ſluagh uile eagal
mòr roimh 'n Tighearna, agus roimh
Shamuel.
19 Agus thubhairt an ſluagh uile
ri Samuel, Dean urnuigh air ſon do
ſheirbhiſeacha ris an Tighearna do
Dhia, a chum as nach bàſaich ſinn:
oir chuir ſinn r'ar peacannaibh uile an
t-olc *ſo*, righ iarraidh dhuinn féin.
20 Agus thubhairt Samuel ris an
t-ſluagh, Na biodh eagal oirbh: (rinn
ſibh an t-olc ſo uile: gidheadh na
tionndaidhibh a thaobh o'n Tighearn
a leantuinn, ach deanaibh ſeirbhis
do'n Tighearn le'r n-uile chridhe;
21 Agus na tionndaidhibh a thaobh
an déigh *nithe* faoin[f], nach bi chum
tairbhe *dhuibh*, agus nach ſaor *ſibh;*
oir *is* faoineas[g] iad.)
22 Oir cha tréig an Tighearn a
ſhluagh, air ſgàth a mhòr ainme féin;
do bhrìgh gu'm bu toil leis an Tigh-
earna bhur deanamh 'nar ſluagh dha
féin.
23 Ach air mo ſhon-ſa, nar leig-
eadh Dia gu'm peacaichinn an agh-
aidh an Tighearna, le ſgur do ur-
nuigh a dheanamh air bhur ſon: ach
teagaiſgidh mi dhuibh an t-ſlighe
mhaith agus cheart.
24 A mhàin biodh eagal an Tigh-
earn oirbh, agus deanaibh ſeirbhis dha
ann am firinn le bhur n-uile chridhe:
oir faicibh cia mòr na nithe a rinn e
air bhur ſon.
25 Ach ma bhuanaicheas ſibh ann
an droch dheanadas, ſgrioſar araon
ſibh féin agus bhur righ.

C A I B. XIII.

BHA Saul *deich* bliadhna *fichead*
a dh'aois an uair *a thòiſich* e air
rìoghachadh; agus rìoghaich e dà
bhliadhna os cionn Iſraeil.

2 An

[a] *Bedan.* [b] *Samſon.* [c] *nach broſnaich ſibh an Tighearna gu feirg.*
[d] *beo.* Eabh. [e] *an déigh do'n Tighearna bhur Dia bhi na righ agaibh.*
[f] *dhiathan bréige.* [g] *neo-ni.*

2 An sin thagh Saul dha féin tri
mìle *fear* do Israel; *d'an* robh dà
mhìle maille ri Saul ann an Michmas,
agus ann an sliabh Bheteil, agus bha
mìle maille ri Ionatan ann an Gibeah
Bheniamin: agus a' chuid eile do'n
t-sluagh chuir e gach duine *dhiubh*
dh'ionnsuidh a bhùtha.

3 Agus bhuail Ionatan freiceadan
nam Philisteach a *bha* ann an Geba[a],
agus chuala na Philistich *sin:* agus
shéid Saul an trompaid air feadh na
tìre uile, ag ràdh, Cluinneadh na
h-Eabhruidhich.

4 Agus chual' Israel uile iomradh
gu'n do bhuail Saul freiceadan nam
Philisteach, agus mar an ceudna *gu'n*
robh Israel air am meas gràineil leis
na Philistich: agus ghairmeadh an
sluagh an ceann a chéile an déigh
Shauil gu Gilgal.

5 Agus chruinnicheadh na Philis-
tich an ceann a chéile gu cogadh ri
h-Israel, deich mìle fichead carbad[b],
agus sè mìle marcach, agus sluagh
mar an gaineamh a *ta* air tràigh na
fairge thaobh lìonmhoireachd: agus
thàinig iad a nìos, agus champaich
iad ann am Michmas, a làimh na
h-airde 'n ear o Bhet-abhen.

6 An uair a chunnaic fir Israeil
gu'n robh iad ann an teanntachd, a
chionn gu'n do dhlùthaich an ar-
mailte[c] riu, an sin dh'fholaich an
sluagh iad féin ann an uamhaibh, agus
ann an droighnich[d], agus ann an
creagaibh, agus ann an daingneach-
aibh[e], agus ann an slochdaibh.

7 Agus chaidh *cuid do* na h-Eabh-
ruidhich thar[f] Iordan gu tìr Ghad,
agus Ghilead: ach *bha* Saul fathast
ann an Gilgal, agus bha'n sluagh na
dhéigh uile air chrith.

8 Agus dh'fheith e seachd laithean,
gu ruig an t-àm àraidh a shuidhich[g]
Samuel: ach cha d'thàinig Samuel gu
Gilgal, agus sgapadh an sluagh uaith.

9 Agus thubhairt Saul, Thugaibh
a'm' ionnsuidh an so ìobairt-loisgte,
agus tabhartasan-sìth. Agus thug e
suas an ìobairt-loisgte.

10 Agus co luath as a chuir e crìoch
air an iobairt-loisgte a thoirt suas,
feuch, thàinig Samuel, agus chaidh
Saul a mach na choinneamh a chum
gu'm beannaicheadh e dha.

11 Agus thubhairt Samuel, Ciod
a rinn thu? Agus fhreagair Saul, A
chionn gu'm faca mi gu'n robh an
sluagh air an sgapadh uam, agus nach
d'thàinig thu 'n taobh a stigh do'n
àm shuidhichte, agus *gu'n* do chruinn-
ich na Philistich iad féin air ceann a
chéile gu Michmas;

12 Uime sin thubhairt mi, A nis
thig na Philistich a nuas orm gu Gil-
gal, agus cha do chuir mi athchuinge
dh'ionnsuidh an Tighearna: rinn mi
éigin uime sin orm féin[h], agus thug
mi suas an ìobairt-loisgte.

13 Agus thubhairt Samuel ri Saul,
Rinn thu gu h-amaideach; cha do
ghléidh thu àithne an Tighearna do
Dhé, a dh'àithn e dhuit: oir a nis
dhaingnicheadh an Tighearna do
rìoghachd air Israel gu bràth.

14 Ach a nis cha seas do rìogh-
achd: dh'iarr an Tighearna dha féin
duine a réir a chridhe féin, agus
dh'àithn an Tighearn dha *bhi* na
cheannard air a shluagh, a chionn
nach do ghléidh thusa *an ni* a dh'àithn
an Tighearna dhuit.

15 Agus dh'éirich Samuel[k], agus
chaidh e suas o Ghilgal gu Gibeah
Bheniamin: agus dh'àireamh Saul an
sluagh a bha làthair[l] maille ris, mu
thimchioll sè ceud fear.

16 Agus dh'fhan Saul, agus a mhac
Ionatan, agus an sluagh a bha làthair
maille riu, ann an Gibeah Bheniamin;
ach champaich na Philistich ann am
Michmas.

17 Agus thàinig an luchd-millidh[m]
a mach a camp nam Philisteach nan
tri chuideachdaibh: thionndaidh aon
chuideachd *dhiubh* do 'n t-slighe
dh'ionnsuidh Ophrah, gu tìr Shauil:

18 Agus thionndaidh cuideachd
eile do'n t-slighe dh'ionnsuidh Bhet-
horoin: agus thionndaidh cuideachd
eile do shlighe na crìche, a tha
'g amharc

[a] *Gibeah.* [b] *tri mìle carbad.* [c] *sluagh* an naimhdean. [d] *dùslainnibh.* [e] *tùraibh, ionadaibh arda.* [f] *thair, thairis air.* [g] *thubhairt* Eabh. [h] *ghabh mi misneach.* [k] *Saul.* [l] *a fhuaradh,* Eabh. [m] *luchd-creiche.*

'g amharc ri gleann Sheboim a dh'ionnſuidh an fhàſaich.

19 A nis cha d'fhuaradh gobha ann an tìr Iſrael uile: (oir thubhairt na Philiſtich, Air eagal gu'n dean na h-Eabhruidhich *dhoibh féin* cloidhean no ſleaghan :)

20 Uime ſin chaidh na h-Iſraelich uile sìos a dh'ionnſuidh nam Philiſteach, gach duine a gheurachadh a ſhuic, agus a chaibe, agus a thuaighe, agus a phicoid.

21 Gidheadh bha eighe[a] aca air ſon nam picoidean, agus air ſon nan ſoc, agus air ſon nan tri-mheurach[b], agus air ſon nan tuaghan, agus a gheurachadh nam bior.

22 Mar ſin thachair e ann an la a' chatha, nach d'fhuaradh aon chuid claidheamh no ſleagh ann an làimh neach ſam bith do'n t-ſluagh, a *bha* maille ri Saul agus Ionatan: ach fhuaradh aig Saul agus aig a mhac Ionatan.

23 Agus chaidh freiceadan nam Philiſteach a mach gu bealach[c] Mhichmais.

C A I B. XIV.

A NIS air la àraidh thubhairt Ionatan mac Shauil ris an òganach a dh'iomchair[d] 'airm, Thig, agus rachamaid thairis gu freiceadan nam Philiſteach, a tha air an taobh thall: ach cha d'innis e d'a athair.

2 Agus dh'fhan Saul anns a' chuid a b'fhaide mach do Ghibeah, fuidh chraoibh pomgranait, a *tha* ann am Migron: agus *bha*'n ſluagh a *bha* maille ris mu thimchioll sè ceud fear.

3 Agus *bha* Ahiah mac Ahituib, bhràthar Ichaboid, mhic Phinehais, mhic Eli ſagairt an Tighearn ann an Siloh, ag iomchar ephoid. Ach cha robh fios aig an t-ſluagh gu'n d'fhalbh Ionatan.

4 Agus eadar na bealaichean, air an d'iarr Ionatan dol thairis a dh'ionnſuidh freiceadain nam Philiſteach, *bha* creag gheur[e] air aon taobh, agus creag gheur air an taobh eile: agus *b'e* ainm creige dhiubh Boſes, agus ainm na creige eile Seneh.

5 Bha ſuidheachadh creige dhiubh o thuath[f] fa chomhair Mhichmais, agus ſuidheachadh na creige eile o dheas fa chomhair Ghibeah.

6 Agus thubhairt Ionatan ris an òganach a dh'iomchair 'airm, Thig, agus rachamaid thairis a dh'ionnſuidh freiceadain nan *daoine* neo-thimchiollghearrta ud: theagamh gu'n oibrich an Tighearn air ar ſon; oir cha '*n'eil* bacadh air an Tighearna ſaoradh le mòran no le beagan.

7 Agus thubhairt fear iomchair 'arm ris, Dean gach *ni* a th'ann ad chridhe: tionndaidh thu féin[g]; feuch, *tha* miſe maille riut a réir do chridhe.

8 An ſin thubhairt Ionatan, Feuch, théid ſinn thairis a dh'ionnſuidh nan daoine *ud*, agus nochdaidh ſinn ſinn féin doibh.

9 Ma their iad mar ſo ruinn, Fanaibh gus an dthig ſinn d'ar n-ionnſuidh; an ſin ſeaſaidh ſinne 'nar n-àite, agus cha dthéid ſinn ſuas d'an ionnſuidh.

10 Agus ma their iad mar ſo, Thigibh a nìos d'ar n-ionnſuidh-ne; an ſin théid ſinn ſuas, oir thug an Tighearna thairis iad d'ar làimh: agus *bitbidh* ſo na chomhara dhuinn.

11 Agus nochd iad le chéile iad féin do fhreiceadan nam Philiſteach: agus thubhairt na Philiſtich, Feuch, *tha* na h-Eabhruidhich a' teachd a mach as na tollaibh[h], anns an d'fholaich ſiad iad féin.

12 Agus fhreagair fir an fhreiceadain Ionatan agus fear iomchair 'arm, agus thubhairt iad, Thigibh a nìos d'ar n-ionnſuidh-ne, agus nochdaidh ſinne dhuibh ni. Agus thubhairt Ionatan ri fear iomchair 'arm, Thig a nìos a'm' dhéigh; oir thug an Tighearna thairis iad do làimh Iſraeil.

13 Agus chaidh[k] Ionatan ſuas air a làmhan agus air a choſan, agus fear iomchair

[a] *lìobban ; file.* Saſg. [b] *nan gabhal ; forks, tridents.* Saſg. [c] *ſlighe chumhaing ; dol thairis.* Eabh. [d] *ghiulain.* [e] *ſcor chreige ; fiacail chreige.* Eabh. [f] *bha aghaidh aon charraige ri tuath.* [g] *imich ge b'e taobh is miann leat.* [h] *coſaibh ; frògaibh.* [k] *ſtreap, dhìr.*

iomchair 'arm na dhéigh: agus thuit iad roimh Ionatan; agus mharbh fear iomchair 'arm na dhéigh.

14 Agus bha an ceud àr sin a rinn Ionatan agus fear iomchair 'arm, mu thimchioll fichead fear, an taobh a stigh mar gu'm b'ann do leth-acair fhearainn, *a dh'fheudadh* cuing *dhamh ar ann an là.*

15 Agus bha ball-chrith anns an fheachd sa' mhachair, agus am measg an t-sluaigh uile: bha crith mar an ceudna air an fhreiceadan agus air an luchd-millidh féin, agus chriothnuich an talamh; agus bha i na crith ro-mhòir[a].

16 Agus dh'amhairc luchd-faire Shauil ann an Gibeah Bheniamin; agus feuch, leagh am mòr shluagh as, agus dh'fhalbh iad a' bualadh sios[b] *a chéile.*

17 An sin thubhairt Saul ris an t-sluagh a *bha* maille ris, Gabhaibh àireamh a nis, agus faicibh cò a dh'fhalbh uainn. Agus an uair a dh'àireamh iad, feuch, cha *robh* Ionatan agus fear iomchair 'arm *an sin.*

18 Agus thubhairt Saul ri Ahiah, Thoir an so àirc Dhé; oir bha àirc Dhé san àm sin maille ri cloinn Israeil.

19 Agus an uair a bha Saul a' labhairt ris an t-sagart, chaidh a' chonghair a bha ann am feachd nam Philisteach air a h-aghaidh, agus mheudaich i: Agus thubhairt Saul ris an t-sagart, Tarruing air a h-ais do làmh.

20 Agus chruinnich Saul agus an sluagh uile a *bha* maille ris iad féin an ceann a chéile, agus thàinig iad a dh'ionnsuidh a' chatha; agus feuch, bha claidheamh gach fir an aghaidh a choimhearsnaich, *agus bha* amhluadh[c] ro-mhòr ann.

21 Agus na h-Eabhruidhich *a* bha maille ris na Philistich roimhe sin, a chaidh suas maille riu do'n champ *o'n tìr* m'an cuairt, *thionndaidh* iadsan mar an ceudna gu bhi leis na h-Israelich, a *bha* maille ri Saul agus Ionatan.

22 Agus an uair a chuala na fir sin uile do Israel, a dh'fholaich iad féin ann an sliabh Ephraim, gu'n do theich na Philistich, dhlùth-lean iadsan mar an ceudna nan déigh anns a' chath.

23 Mar sin shaor an Tighearn Israel air an là sin: agus chaidh an cath thairis gu Bet-abhen.

24 Agus thàinig fir Israeil am fagus[d] air an là sin, agus chuir Saul an sluagh fa mhionnaibh, ag ràdh, Mallaichte gu *robh* am fear a dh'itheas biadh[e] gu feasgar, a chum gu'n dìolar mi air mo naimhdibh: agus cha do bhlais neach air bith do'n t-sluagh biadh.

25 Agus thàinig an sluagh uile[f] gu coille, agus bha mil air aghaidh na machrach.

26 Agus an uair a thàinig an sluagh do'n choille, feuch shil a' mhil sìos, ach cha do chuir duine sam bith a làmh a dh'ionnsuidh a bheoil; oir bha eagal nam mionnan air an t-sluagh.

27 Ach cha chuala Ionatan an uair a chuir 'athair an sluagh fuidh na mionnaibh: uime sin shìn e mach bàrr na slait a *bha* na làimh, agus thum e i ann an cìr mheala, agus chuir[g] e a làmh gu 'bheul, agus shoillsicheadh[h] a shùilean.

28 An sin fhreagair fear do'n t-sluagh, agus thubhairt e, Chuir t'athair an sluagh fuidh mhionnaibh teann, ag ràdh, Mallaichte *gu robh* an duine a dh'itheas biadh an diugh. Agus bha'n sluagh air fannachadh.

29 An sin thubhairt Ionatan, Chuir m'athair an tìr fa bhuaireas: faicibh, guidheam oirbh, cionnus a ta mo shùilean air an soillseachadh, do bhrìgh gu'n do bhlais mi beagan do 'n mhil so.

30 Cia mò gu mòr, nam biodh an sluagh air itheadh gu saor an diugh do chreich an naimhdean, a fhuair iad? oir nach bitheadh a nis àr ni bu mhò am measg nam Philisteach?

31 Agus bhuail iad air an là sin na Philistich o Mhichmas gu Aialon: agus bha 'n sluagh air fannachadh gu mòr.

32 Agus leum an sluagh air a' chreich

[a] *na crith Dhé.* Eabh. [b] *an so agus an sin.* [c] *dioghbhail, sgrios.*
[d] *bha fir Israeil ann an airc.* [e] *aran.* Eabh. [f] *uile* shluagh *na tìre.*
[g] *phill, thionndaidh.* Eabh. [h] *chunnaic.*

chreich, agus ghabh iad caoraich agus buar, agus laoigh, agus mharbh iad air an talamh *iad:* agus dh'ith an sluagh *iad* leis an fhuil.

33 Agus dh'innis iad do Shaul, ag ràdh, Feuch, tha'n sluagh a' peacachadh an aghaidh an Tighearna, le itheadh maille ris an fhuil[a]. Agus thubhairt esan, Pheacaich sibh: caruichibh a'm' ionnsuidh an diugh clach mhòr[b].

34 Agus thubhairt Saul, Sgaoilibh sibh féin am measg an t-sluaigh, agus abraibh riu, Thugaibh a'm' ionnsuidh an so gach duine a mhart[c], agus gach duine a chaora, agus marbhaibh *iad* an so agus ithibh; agus na peacaichibh an aghaidh an Tighearna le itheadh maille ris an fhuil. Agus thug an sluagh uile gach duine a mhart leis[d] air an oidhche sin, agus mharbh iad an sin *iad.*

35 Agus thog Saul altair do'n Tighearna, B'i sin a' cheud altair a thog e[e] do'n Tighearna.

36 Agus thubhairt Saul, Rachamaid sìos an déigh nam Philisteach san oidhche, agus creachamaid iad gu solus na maidne, agus na fàgamaid fear dhiubh. Agus thubhairt iadsan, Dean gach ni a's maith leat[f]. An sin thubhairt an sagart, Thigeamaid am fagus an so dh'ionnsuidh Dhé.

37 Agus dh'iarr Saul comhairle air Dia, An dthéid mi sìos an déigh nam Philisteach? an dthoir thu thairis iad do làimh Israeil? ach cha do fhreagair se e air an là sin.

38 Agus thubhairt Saul, Thigibh am fagus an so, *sibhse* uile mhaithean[g] an t-sluaigh, agus biodh fios agaibh, agus faicibh, c'àit an robh am peacadh so an diugh.

39 Oir *mar* is beo an Tighearna, a shaor Israel, ge do robh e ann mo mhac Ionatan, gu cinnteach gheibh e bàs. Ach cha do fhreagair duine e do'n t-sluagh uile.

40 An sin thubhairt e ri h-Israel uile, Bithibhse air aon taobh, agus bithidh mise agus mo mhac Ionatan air an taobh eile. Agus thubhairt an sluagh ri Saul, Dean an ni a's maith leat.

41 Uime sin thubhairt Saul ris an Tighearna Dia Israeil, Thoir seachad *crannchur* cothromach[h]. Agus ghabhadh Saul agus Ionatan; ach chaidh an sluagh as.

42 Agus thubhairt Saul, Tilgibh *crannchur* eadar mise agus mo mhac Ionatan. Agus ghabhadh Ionatan.

43 An sin thubhairt Saul ri Ionatan, Innis dhomh ciod a rinn thu. Agus dh'innis Ionatan da, agus thubhairt e, Gu deimhin le bàrr na slait a *bha* a'm' làimh, bhlais mi beagan meala; agus feuch, am faigh mi bàs?

44 Agus thubhairt Saul, Gu'n deanadh Dia mar sin, agus tuille mar an ceudna: oir gu cinnteach gheibh thu bàs, a Ionatain[k].

45 Agus thubhairt an sluagh ri Saul, Am faigh Ionatan bàs, a dh'oibrich an t-saorsa mhòr so ann an Israel? Nar leigeadh Dia: *mar* is beo an Tighearna, cha tuit *aon ròineag*[l] do fholt a chinn gu làr; oir maille ri Dia dh'oibrich e an diugh. Uime sin shaor an sluagh Ionatan, agus cha d'fhuair e bàs.

46 An sin chaidh Saul suas o leantuinn nam Philisteach: agus dh'fhalbh na Philistich d'an àite féin.

47 Agus ghabh Saul an rìoghachd os cionn Israeil, agus chog e air gach làimh an aghaidh a naimhde gu léir, an aghaidh Mhoaib, agus an aghaidh chloinn Amoin, agus an aghaidh Edoim, agus an aghaidh righre Shobah, agus an aghaidh nam Philisteach: agus ge b'e taobh a thionndaidh e, chlaoidh e *iad*[m].

48 Agus thog e sluagh, agus bhuail e na h-Amalecich, agus shaor e Israel as làimh na muinntir a bha 'gam milleadh[n].

49 A nis b'iad mic Shauil Ionatan, agus Isui, agus Melchisua: agus *b'iad*

so

[a] *air an fhuil.* Eabh. [b] *i. e.* chum altarach. [c] *a tharbh.* [d] *na làimh.* Eabh. [e] *I sin thò'sich e r'a togail mar altair.* Eabh. [f] *a'd' shùilibh.* Eabh. [g] *oisinnean.* [h] *Tumim.* Eabh. [k] *bàsaichidh Ionatan.* [l] fhuiltean. [m] *bhuin e riu mar dhaoine ciontach.* [n] *'gam fàsachadh, 'gan dìtheachadh.*

ſo-ainmean a dhìthis nighean; ainm na ceud-ghin Merab, agus ainm na *h-ighinn* a b'òige Michal.

50 Agus *b'e* ainm mnà Shauil Ahinoam, nighean Ahimahais: agus *b'e* ainm ceannaird a ſhluaigh Abner mac Ner, bràthair-athar Shauil.

51 Agus *b'e* Cis athair Shauil: agus *b'e* Ner athair Abneir, mac Abieil.

52 Agus bha cogadh dian an aghaidh nam Philiſteach rè uile laithean Shauil: agus an uair a chitheadh Saul fear làidir ſam bith, no fear treun ſam bith, ghabhadh [a] e d'a ionnſuidh e.

CAIB. XV.

AGUS thubhairt Samuel ri Saul, Chuir an Tighearna mi gu thuſa ungadh a'd' righ os cionn a ſhluaigh, os cionn Iſraeil: a nis uime ſin éiſd ri briathraibh [b] an Tighearna.

2 Mar ſo tha Tighearna nan ſluagh ag ràdh, Is cuimhne leam [c] ciod a rinn na h-Amalecich air na h-Iſraelich, cionnus a chuir iad nan aghaidh ſan t-ſlighe 'nuair a thàinig iad a nìos as an Eiphit.

3 A nis falbh, agus buail na h-Amalecich, agus ſgrios [d] gu tur gach *ni* a *th'*aca, agus na caomhain iad; ach marbh araon fear agus bean, leanabh agus ciochran [e], damh agus caora, càmhal agus aſal.

4 Agus chruinnich Saul an ſluagh an ceann a chéile, agus dh'àireamh e iad ann an Telaim, dà cheud mìle coiſiche, agus deich mìle fear do Iudah.

5 Agus thàinig Saul gu baile le Amalec, agus rinn e feall-fholach anns a' ghleann [f].

6 Agus thubhairt Saul ris na Cenich, Falbhaibh, imichibh as ſo, rachaibh ſios o mheaſg nan Amaleceach, air eagal gu'n ſgrios mi ſibh maille riu; oir nochd ſibhſe coimhneas do chloinn Iſraeil uile 'nuair a thàinig iad a nìos as an Eiphit. Uime ſin dh'imich na Cenich o mheaſg nan Amaleceach.

7 Agus bhuail Saul na h-Amalecich o Habhilah, *gus* an d'thig thu gu Sur, a *tha* fa chomhair na h-Eiphit.

8 Agus ghlac e Agag rìgh nan Amaleceach beo, agus ſgrios e 'n ſluagh uile le faobhar a' chlaidheimh.

9 Ach chaomhain Saul agus an ſluagh Agag, agus a' chuid a b'fhearr do na caoraich, agus do'n bhuar, agus do na *beathaichibh* reamhra, agus do na h-uanaibh, agus do gach *ni a bha* maith, agus cha b'àill leo an ſgrios gu tur; ach gach ni a bha taireil agus ſuarrach [g], ſin ſgrios iad gu tur.

10 An ſin thàinig focal an Tighearna dh'ionnſuidh Shamueil, ag ràdh,

11 Is aithreach leam gu'n d'rinn mi Saul na rìgh, oir thionndaidh e air ais o m'-leantuinn, agus cha do choimhlion e m'àitheanta [h]. Agus chuir ſin doilgheas air Samuel, agus ghlaodh e ris an Tighearna rè na h-oidhche.

12 Agus an uair a dh'éirich Samuel gu moch a choinneachadh Shauil ſa' mhaduinn, dh'innſeadh do Shamuel, ag ràdh, Thàinig Saul gu Carmel, agus feuch, chuir e ſuas dha féin clach-chuimhneachain [k], agus dh'imich e m'an cuairt, agus ghabh e air aghaidh, agus chaidh e ſios gu Gilgal.

13 Agus thàinig Samuel gu Saul: agus thubhairt Saul ris, Beannaichte *gu'n robh* thuſa o'n Tighearna; choimhlion mis' àithne an Tighearna.

14 Agus thubhairt Samuel, Ciod *is ciall* ma ta *do* mhèidhlich nan caorach ſo ann a'm' chluaſaibh, agus *do* gheumnaich a' chruidh a tha mi a' cluinntinn?

15 Agus thubhairt Saul, o na h-Amalecich thug ſiad iad; oir chaomhain an ſluagh a' chuid a b'fhearr do na caoraich, agus do'n bhuar, a chum *an* iobradh do'n Tighearna do Dhia; agus a' chuid eile ſgrios ſinn gu tur.

16 An ſin thubhairt Samuel ri Saul, Fuirich [l], agus innſidh mi dhuit ciod

[a] *chruinnicheadh*. Eabh. [b] *guth bhriathran*. Eabh. [c] *Tha e ann am bheachd*. [d] *ſgrioſaibh*. Eabh. [e] *naoidhean na ciche*. [f] *agus chaidh e ſios do'n ghleann*. [g] *ſeargta*. [h] *mo bhriathra*. Eabh. [k] *àite; làmh*. Eabh. [l] *Leig dhomh*.

ciod a thubhairt an Tighearna riumſ' an nochd. Agus thubhairt e ris, Abair romhad.

17 Agus thubhairt Samuel, An uair *a bha* thu beag a'd' ſhùilibh féin nach d'rinneadh thu a'd' cheann air treubhaibh Iſraeil? agus dh'ung an Tighearn thu a'd' righ os cionn Iſraeil.

18 Agus chuir an Tighearn thu air thurus, agus thubhairt e, Falbh, agus ſgrios gu tur na peacaich na h-Amalecich, agus cog nan aghaidh gus an cuir thu [a] as doibh.

19 C'ar ſon ma ta nach d'éiſd thu ri guth an Tighearna, ach a leum thu air a' chreich [b], agus a rinn thu olc ann an sùilibh an Tighearna?

20 Agus thubhairt Saul ri Samuel, Seadh, dh'éiſd mi ri guth an Tighearna, agus dh'imich mi air an t-ſlighe air an do chuir an Tighearna mi, agus thug mi leam Agag righ Amaleic, agus ſgrios mi gu tur na h-Amalecich.

21 Ach ghabh an ſluagh do'n chreich, caoraich agus buar, toiſeach [c] nan nithe bu chòir a bhi air an ſgrios gu tur, a chum *an* ìobradh do'n Tighearna do Dhia ann an Gilgal.

22 Agus thubhairt Samuel, Am bheil tlachd aig an Tighearn ann an tabhartaſaibh-loiſgte agus an ìobairtibh, mar ann an ùmhlachd do ghuth an Tighearna? Feuch, *is* fearr ùmhlachd na ìobairt, *agus* aire a thabhairt na ſaill reitheacha.

23 Oir *mar* pheacadh na druidheachd *tha* ceannairc, agus *mar* aingidheachd ìodhol-aoraidh [d] *tha* ragmhuineileachd [e]: a chionn gu'n do chuir thuſa cùl ri [f] focal an Tighearna, chuir eſan mar an ceudna cùl riutſa o *bhi* d' righ.

24 Agus thubhairt Saul ri Samuel, Pheacaich mi, oir bhris mi àithne an Tighearna, agus do bhriathra-ſa; a chionn gu'n robh eagal orm roimh 'n t-ſluagh, agus gu'n d'éiſd mi r'an guth.

25 A nis uime ſin, guidheam ort, lagh mo pheacadh, agus pill maille rium, a chum as gu'n dean mi aoradh do'n Tighearna.

26 Agus thubhairt Samuel ri Saul, Cha phill mi maille riut; oir chuir thu cùl ri focal an Tighearna, agus chuir an Tighearna cùl riutſa o bhi d'righ air Iſrael.

27 Agus an uair a thionndaidh Samuel m'an cuairt gu ſalbh, rug e air oir 'fhalluinne, agus reubadh i.

28 Agus thubhairt Samuel ris, Reub an Tighearna rìoghachd Iſraeil dhìot-ſa an diugh, agus thug e i do d' choimhearſnach, *a's* fearr na thuſa.

29 Agus mar an ceudna cha dean Neart [g] Iſraeil breug, agus cha ghabh e aithreachas; oir cha duine *e* gu'n gabhadh e aithreachas.

30 An ſin thubhairt e, Pheacaich mi; *gidheadh* a nis thoir urram dhomh, guidheam ort, am fianuis ſheanairean mo ſhluaigh, agus am fianuis Iſraeil, agus pill maille rium, a chum as gu'n dean mi aoradh do'n Tighearna do Dhia.

31 Agus phill Samuel an déigh Shauil, agus rinn Saul aoradh do'n Tighearna.

32 An ſin thubhairt Samuel, Thugaibh an ſo a'm ionnſuidh-ſa Agag righ nan Amaleceach: agus thàinig Agag d'a ionnſuidh gu ſuilbhir [h]. Agus thubhairt Agag, Gu cinnteach chàidh ſearbhas [k] a' bhàis ſeachad.

33 Agus thubhairt Samuel, Mar a rinn do chlaidheamh-ſa mnài gu'n chlann [l], mar ſin bithidh do mhàthair gun chlann am meaſg bhan. Agus thug Samuel fa'near Agag a ghearradh sìos na mhìribh am fianuis an Tighearn ann an Gilgal.

34 An ſin dh'imich Samuel gu Ramah, agus chaidh Saul ſuas d'a thigh gu Gibeah Shauil.

35 Agus cha d'thàinig Samuel tuilleadh a dh'fhaicinn Shauil gu latha a bhàis; gidheadh, rinn Samuel bròn air ſon Shauil: agus b'aithreach leis an Tighearna gu'n d'rinn e Saul na righ air Iſrael.

[a] *ſibh.* [b] *a thionndaidh thu dh'ionnſuidh na creiche.* [c] *roghadh.* [d] *aingidheachd agus ìodhol-aoradh.* [e] *reaſgachd, dùirea* [f] *gu'n d rinn thu dìmeas air.* [g] *Buaidh, Aon ſiorruidh.* [h] *o gheimblibh.* [k] *ſearbhadas, ſeirbhe.* [l] *chloinn.*

C A I B. XVI.

AGUS thubhairt an Tighearna ri Samuel, Cia fhad a ni thu bròn air son Shauil, agus gu'n do chuir mise cùl ris o rioghachadh os cionn Israeil? lion do chorn[a] le h-oladh, agus falbh, cuiridh mise thu gu Iese am Betlehemeach; oir fhuair mi mach[b] am measg a chuid mac righ dhomh féin.

2 Agus thubhairt Samuel, Cionnus a dh'fhalbhas mi? oir cluinnidh Saul, agus marbhaidh e mi. Agus thubhairt an Tighearna, Thoir agh leat, agus abair, A dh'iobradh do'n Tighearna thàinig mi.

3 Agus gairm air Iese dh'ionnsuidh na h-iobairt, agus bheir mise fios dhuit ciod a ni thu: agus ungaidh tu dhomhsa *esan* a dh'ainmicheas mi dhuit.

4 Agus rinn Samuel an ni sin a labhair an Tighearna, agus thàinig e gu Betlehem: agus chriothnuich seannairean a' bhaile r'a theachd, agus thubhairt iad, An ann an sith a tha thu teachd?

5 Agus thubhairt esan, Ann an sìth: a dh'iobradh do'n Tighearna thàinig mi: naomhaichibh sibh féin, agus thigibh maille rium a dh'ionnsuidh na h-iobairte. Agus naomhaich e Iese agus a mhic, agus ghairm e iad a dh'ionnsuidh na h-iobairte.

6 Agus an uair a thàinig iad, dh'amhairc e air Eliab, agus thubhairt e, Gu cinnteach am fianuis an Tighearna *tha* 'aon ungta-san.

7 Ach thubhairt an Tighearna ri Samuel, Na h-amhairc air a ghnùis, no air airde a phearsa, a chionn gu'n do chuir mise cùl ris; oir cha'*n fhaic an Tighearna*[c] mar a chi duine: oir amhairceidh an duine air coslas an taobh a muigh[d], ach amhairceidh an Tighearna steach air a' chridhe.

8 An sin ghairm Iese air Abinadab, agus thug e air gabhail seachad fa chomhair Shamueil: agus thubhairt e, Ni mò a thagh an Tighearn *e* so.

9 An sin thug Iese air Samah dol seachad: agus thubhairt e, Ni mò a thagh an Tighearn *e* so.

10 An sin thug Iese air seachdnar d'a mhic dol seachad fa chomhair Shamueil: agus thubhairt Samuel ri Iese, Cha do thagh an Tighearn *iad* so.

11 Agus thubhairt Samuel ri Iese, Am bheil *do* mhic uile an so? Agus thubhairt esan, Dh'fhàgadh fathast *am mac* a's òige, agus feuch, tha e ag ionaltradh[e] nan caorach. Agus thubhairt Samuel ri Iese, Cuir *fios air*, agus thoir an so e; oir cha suidh sinn sios[f] gus an dthig e 'n so.

12 Agus chuir e *fios air*, agus thug e steach e: a nis *bha* e ruiteach, agus sgiamhach na ghnùis[g] agus maiseach ri amharc air. Agus thubhairt an Tighearna, Eirich, ung e; oir *is* e so esan.

13 Agus ghabh Samuel an corn oladh, agus dh'ung se e am measg a bhràithrean: agus thuirling spiorad an Tighearn air Daibhidh, o'n la sin a mach. Agus dh'éirich Samuel, agus chaidh e gu Ramah.

14 Ach dh'fhalbh spiorad an Tighearna o Shaul, agus chuir droch spiorad o'n Tighearna buaireas[h] air.

15 Agus thubhairt seirbhisich Shauil ris, Feuch a nis, *tha* droch spiorad *o* Dhia a' cur buaireis ort.

16 Thugadh a nis ar tighearn àithne do d' sheirbhisich *a tha* ann ad' fhianuis, gu'n iarr iad a mach duine *a* chluicheas[k] gu h-ealanta air clàrsaich: agus an uair a bhios *an* droch spiorad *o* Dhia ort, an sin chluichidh esan le a làimh, agus bithidh tusa gu maith.

17 Agus thubhairt Saul r'a sheirbhisich, Faighibh a nis dhomh duine a chluicheas gu maith, agus thugaibh a m' ionnsuidh *e*.

18 An sin fhreagair aon do na h-òglaich, agus thubhairt e, Feuch, chunnaic mi mac le Iese, am Betlehemeach, a chluicheas gu h-ealanta[l], agus *a tha* treun ann an neart, agus na fhear cogaidh, agus glic ann an gnoth-

[a] *f'adbarc.* [b] *chunnaic mi.* Eabh. [c] *oir cha'n fhaic mise.* [d] *air a ghnùis; air na sùilibh.* Eabh. [e] *a' biadhadh, a' gleidheadh.* [f] *i. e. mu'n cuairt air a' bhord.* [g] *sùilean àluinn aige.* Eabh. [h] *dragh, uamhann.* [k] *fheinneas.* [l] *a tha eòlach air cluicheadh.*

gnothuichibh[a], agus na dhuine maiseach; agus *tha* 'n Tighearna maille ris.
19 Uime sin chuir Saul teachdairean a dh'ionnsuidh Iese, agus thubhairt e, Cuir a'm' ionnsuidh Daibhidh do mhac, a *tha* maille ris na caoraich.
20 Agus ghabh Iese asal *luchdaichte le b*-aran[b], agus searrag fhìona, agus meann do na gabhraibh, agus chuir e *iad* le làimh Dhaibhidh a mhic a dh'ionnsuidh Shauil.
21 Agus thàinig Daibhidh a dh'ionnsuidh Shauil, agus sheas e' na fhianuis; agus ghràdhaich e gu mòr e, agus bha e aige na fhear iomchair arm.
22 Agus chuir Saul *teachdaire* dh'ionnsuidh Iese, ag ràdh, Seasadh, guidheam ort, Daibhidh a'm' fhianuis; oir fhuair e deagh-ghean a'm' shùilibh[c].
23 Agus an uair a bha'n droch spiorad *o* Dhia air Saul, an sin ghabh Daibhidh clàrsach, agus chluich e le a làimh: agus bha fois[d] aig Saul, agus bha e gu maith; oir dh'fhalbh an droch spiorad uaith.

C A I B. XVII.

A NIS chruinnich na Philistich an sloigh an ceann a chéile gu cath, agus chruinnicheadh iad aig Sochoh, a *bhuineas* do Iudah; agus champaich iad eadar Sochoh agus Asecah, ann an Ephesdamim[e].
2 Agus chruinnicheadh Saul agus fir Israeil an ceann a chéile, agus champaich iad ann an gleann Elah[f], agus chuir iad an cath an ordugh[g], an aghaidh nam Philisteach.
3 Agus sheas na Philistich air sliabh air aon taobh, agus sheas Israel air sliabh air an taobh eile: agus *bha* gleann eatorra.
4 Agus thàinig curaidh[h] a mach a camp nam Philisteach, d'am *b*'ainm Goliath o Ghat, *anns an robh* sè[k] làmhan-coille agus réis air airde.
5 Agus *bha* clogaid[l] umha air a cheann, agus *bha* e air 'éideadh le lùirich mhàilich[m]: agus *b'e* cothrom na lùiriche cùig mìle secel umha.
6 Agus *bha* coisbheirt[n] umha air a chosaibh, agus targaid[o] umha eadar a ghuaillibh.
7 Agus *bha* crann a shleagha mar gharmain[p] figheadair, agus *bha ann an* ceann a shleagha sè ceud secel iaruinn: agus *bha fear* a' giùlan sgéithe ag imeachd roimhe.
8 Agus sheas e, agus ghlaodh e ri slòigh[q] Israeil, agus thubhairt e riu, C'ar son a tha sibh a' teachd a mach gu'*r* cath a chur an ordugh? Nach Philisteach mise, agus *nach* seirbhisich sibhse do Shaul? taghaibh dhuibh féin fear, agus thigeadh e nuas a'm' ionnsuidh-sa.
9 Ma's urrainn e còmhrag riumsa, agus *ma* mharbhas e mi, an sin bithidh sinne 'nar seirbhisich agaibhse; ach ma bheir mise buaidh air-san, agus gu marbh mi e, an sin bithidh sibhse 'nar seirbhisich againne, agus ni sibh seirbhis dhuinn.
10 Agus thubhairt am Philisteach, Tha mi toirt dùbhlain do shlòigh Israeil an diugh; faighibh dhomhsa fear, a chum gu'n dean sinn còmhrag ri chéile.
11 An uair a chuala Saul agus Israel uile briathra sin an Philistich, bha iad fa uamhas, agus fa eagal mòr.
12 [A nis *b'e* Daibhidh mac an Ephrataich sin o Bhetlehem Iudah, d'am *b*'ainm Iese; agus *bha* ochdnar mhac aige: agus bha an duine ann an laithibh Shauil na sheann duine, air teachd air aghaidh ann an aois[r].
13 Agus dh'imich an triuir mhac bu shine aig Iese, *agus* chaidh iad an déigh Shauil a chum a' chogaidh; agus *b'iad* ainmean a thriuir mhac a chaidh dh'ionnsuidh a' chogaidh, Eliab an ceud-ghin, agus na dhéighsan Abinadab, agus an treas *mac* Samah.

14 Agus

[a] *am focal, an combairle.* [b] *bomer arain.* [c] *is taitneach leam e.*
[d] *fèith, anail, lasachadh.* [e] *ann an crìch Dhamim.* [f] *gleann an daraich.* [g] *eagar.* [h] *fear-còmbraig.* [k] *ceithir.*
[l] *ceann-bheirt.* [m] *lùirich lannaich.* Eabh. [n] *cudanain.*
[o] *sgiath.* [p] *spail.* [q] *armailtibh; sreathaibh.* Eabh. [r] *am measg dhaoine.*

14 Agus *b'e* Daibhidh am *mac* a b'òige: agus chaidh an triuir bu ſhine an déigh Shauil.

15 Ach dh'fhalbh Daibhidh agus phill e o Shaul, a dh'ionaltradh chaorach 'athar, ann am Betlehem.

16 Agus tharruing am Philiſteach am fagus ſa' mhaduinn agus mu fheaſgar, agus nochd ſe e féin dà fhichead là.

17 Agus thubhairt Ieſe ri Daibhidh a mhac, Gabh a nis air ſon do bhràithrean ephah do'n *t-ſìol* chruaidhichte ſo, agus na deich builinnean ſo, agus ruith do'n champ a dh'ionnſuidh do bhràithre;

18 Agus giùlain na deich mulchagan càiſe ſo dh'ionnſuidh ceannaird am mile-ſan, agus feall cionnus a tha do bhràithrean, agus gabh an geall.

19 A nis *bha* Saul, agus iadſan, agus fir Iſraeil uile ann an gleann Elah, a' cogadh ris na Philiſtich.

20 Agus dh'éirich Daibhidh gu moch ſa' mhaduinn, agus dh'fhàg e na caoraich aig fear-gleidhidh, agus thug e leis, agus dh'imich e, mar a dh'àithn Ieſe dha; agus thàinig e do'n chlais-bhlàir [a] an uair a bha 'n armailt a' dol a mach a dh'ionnſuidh a' chatha, agus a rinn iad iolach a chum a' chatha:

21 Oir chuir Iſrael agus na Philiſtich iad féin an ordugh catha, armailt an aghaidh armailt.

22 Agus dh'fhàg Daibhidh an t-uidheam [b] *a chuir e* dheth ann an làimh fir-gleidhidh an uidheam, agus ruith e dh'ionnſuidh na h-armailt, agus thàinig e, agus chuir e fàilt air a bhràithribh.

23 Agus an uair a bha e a' labhairt riu, feuch, thàinig an curaidh d'am b'ainm Goliath, am Philiſteach o Ghat, a nios a armailt [c] nam Philiſteach, agus labhair e a réir nam briathra ceudna: agus chuala Daibhidh *iad.*

24 Agus an uair a chunnaic fir Iſraeil uile an duine, theich iad roimhe, agus bha eagal mòr orra.

25 Agus thubhairt fir Iſraeil [d], Am faca ſibh am fear ſo a tha air teachd a nìos? gu cinnteach *is ann* a thoirt dùbhlain do Iſrael [e] *a tha e* air teachd a nìos: agus ge b'e fear a mharbhas e, ni an rìgh ſaibhir e le mòr ſhaibhreas, agus bheir e dha a nighean, agus ni e tigh 'athar ſaor ann an Iſrael.

26 Agus thubhairt Daibhidh ris na daoinibh a ſheas làimh ris, ag ràdh, Ciod a nithear do'n duine a mharbhas am Philiſteach ſo, agus a bheir air falbh am maſladh o Iſrael? oir cò e am Philiſteach neo-thimchioll-ghearrta ſo, gu'n dthugadh e dùbhlan do armailtibh an Dé bheò?

27 Agus fhreagair an ſluagh e air an dòigh ſo, ag ràdh, Mar ſo nithear do'n duine a mharbhas e.

28 Agus chuala Eliab a bhràthair bu ſhine, 'nuair a labhair e ris na daoinibh: agus las fearg Eliaib an aghaidh Dhaibhidh, agus thubhairt e, C'ar ſon a thàinig thu nuas an ſo: agus cò aig a dh'fhàg thu am beagan chaorach ſin anns an fhàſach? tha mi fioſrach air t-uabhar agus olcas do chridhe, oir is ann a dh'fhaicinn a' chatha a thàinig thu nuas.

29 Agus thubhairt Daibhidh, Ciod a rinn mi a nis? nach briathran iad [f]?

30 Agus thionndaidh e uaithſan a dh'ionnſuidh *fir* eile, agus labhair e air an dòigh cheudna: agus fhreagair an ſluagh e a rìs a réir na ceud dòigh.

31 Agus an uair a chualas na briathran a labhair Daibhidh, dh'aithris iad am fianuis Shauil *iad:* agus chuir e fios air [g].

32 Agus thubhairt Daibhidh ri Saul, Na fannaicheadh cridhe duine ſam bith air a ſhon-ſan: théid do ſheirbhiſeach agus cogaidh e ris an Philiſteach ſo.

33 Agus thubhairt Saul ri Daibhidh, Cha'n urrainn thuſa dol an aghaidh an Philiſtich ſo a chogadh ris: oir *cha 'n'eil* annadſa *ach* òganach, agus *tha* eſan na fhear cogaidh o 'òige.

34 Agus thubhairt Daibhidh ri Saul, Bha do ſheirbhiſeach ag ionaltradh

[a] *chlais-dhìonaidh, daingneach; trench.* Saſg. [b] *na thug e leis.* [c] *ſluigh.* [d] *duine do Iſrael.* [e] *a mhaſlachadh Iſraeil.* [f] *nach* 'eil *aobhar ann?* [g] *ghabh ſe e.* Eabh.

tradh chaorach 'athar, agus thàinig leòmhan, agus mathghamhuin, agus thug e uan as an treud:

35 Agus chaidh mi mach na dhéigh, agus bhuail mi e, agus ſhaor mi as a bheul *e*. Agus an uair a dh'éirich e a'm' aghaidh, rug mi air fheuſaig *air*, agus bhuail mi e, agus mharbh mi e.

36 Araon an leòmhan agus am mathghamhuin mharbh do ſheirbhiſeach: agus bithidh am Philiſteach neo-thimchioll-ghearrta ſo mar aon diubhſan, do bhrigh gu'n d'thug e dùbhlan do armailtibh an Dé bheò.

37 Mar an ceudna thubhairt Daibhidh, An Tighearn a ſhaor miſe a màg [a] an leòmhain, agus a màg a' mhathghamhuin, ſaoraidh eſan mi a làimh an Philiſtich ſo. Agus thubhairt Saul ri Daibhidh, Falbh, agus gu robh an Tighearna maille riut.

38 Agus chuir Saul 'éididh féin air Daibhidh, agus chuir e clogaid umha air a cheann; mar an ceudna chuir e lùireach air.

39 Agus chrioſlaich Daibhidh a chlaidheamh air uachdar 'éididh, agus b'àill leis [b] imeachd, oir cha do chleachd e *iad*: agus thubhairt Daibhidh ri Saul, Cha'n urrainn mi imeachd leo ſo, oir cha do chleachd mi *iad*. Agus chuir Daibhidh dheth iad.

40 Agus ghabh e a bhata na làimh, agus thagh e dha féin cùig clacha mìne o'n t-ſruth, agus chuir e iad ann am màla buachaille [c] a *bha* aige, eadhon ann an ſporran, agus *bha* a chrann-tàbhuill na làimh: agus tharruing e 'm fagus do'n Philiſteach.

41 Agus thàinig am Philiſteach air aghaidh, agus tharruing e 'm fagus do Dhaibhidh; agus fear iomchair a ſgéithe roimhe.

42 Agus an uair a dh'amhairc am Philiſteach agus a chunnaic e Daibhidh, rinn e dimeas air, a chionn gu'n robh e na òganach, agus ruiteach, agus ſgiamhach na ghnùis.

43 Agus thubhairt am Philiſteach ri Daibhidh, An cù miſe, gu'n dthigeadh tu a m' ionnſuidh le bataibh? agus mhallaich am Philiſteach Daibhidh ann an *ainm* a dhée [d].

44 Agus thubhairt am Philiſteach ri Daibhidh, Thig a m' ionnſuidh-ſa, agus bheir mi t'fheoil do eunlaith an athair, agus do bheathaichibh na machrach.

45 An ſin thubhairt Daibhidh ris an Philiſteach, *Tha* thuſa a' teachd a m' ionnſuidh-ſa le claidheamh, agus le ſleagh, agus le ſgéith; ach *tha* miſe a' teachd a'd' ionnſuidh-ſa ann an ainm Thighearna nan ſluagh, Dhé armailtean Iſraeil, d'an d'thug thuſa dùbhlan.

46 Air an la 'n diugh bheir an Tighearna thairis thu do m' làimh-ſa, agus buailidh mi thu, agus bheiridh mi dhiot do cheann, agus bheir mi cloſaichean ſheachd nam Philiſteach air an la 'n diugh do eunlaith an athair, agus do fhiadh-bheathaichibh na talmhainn; a chum gu'm bi fios aig an talamh uile gu bheil Dia ann an Iſrael [e].

47 Agus bithidh fios aig a' choimhthional ſo uile, nach ann le claidheamh no le ſleagh a ſhaoras an Tighearna: oir *is* leis an Tighearn an cath, agus bheir e ſibhſe d'ar làimh-ne.

48 Agus an uair a dh'éirich am Philiſteach, agus a thàinig e agus a tharruing e 'm fagus an coinneamh Dhaibhidh, an ſin rinn Daibhidh cabhag, agus ruith e dh'ionnſuidh na h-armailt an coinneamh an Philiſtich.

49 Agus chuir Daibhidh *a* làmh na mhàla, agus ghabh e as ſin clach, agus thilg e as a chrann tàbhuill, agus bhuail e 'm Philiſteach an clàr 'eudain: agus chaidh a' chlach a ſtigh [f] ann an clàr 'eudain, agus thuit e air 'aghaidh dh'ionnſuidh an làir.

50 Mar ſin thug Daibhidh buaidh air an Philiſteach le crann-tàbhuill agus le cloich; agus bhuail e 'm Philiſteach, agus mharbh ſe e: ach cha *robh* claidheamh ann an làimh Dhaibhidh.

51 Uime ſin ruith Daibhidh agus ſheas e air an Philiſteach, agus ghlac e a chlaidheamh, agus tharruing e as a thruaill e, agus mharbh ſe e, agus ghearr e dheth a cheann leis. Agus an uair a chunnaic na Philiſtich gu'n robh an gaiſgeach marbh, theich iad.

52 Agus

[a] *cròdh; làimh.* Eabh.
[b] *dh'fheuch e ri.*
[c] *aodhairt.*
[d] *le 'dhéibh.*
[e] *aig Iſrael.*
[f] *an-ſàs.*

52 Agus dh'éirich fir Iſraeil agus
Iudah, agus rinn iad iolach, agus
chaidh iad air tòir nam Philiſteach,
gus an dthig thu gu gleann, agus gu
geataibhibh Ecroin: agus thuit iadſan
a bha leonta do na Philiſtich air an
t-ſlighe gu Saraim, cadhon gu ruig
Gat, agus gu ruig Ecron.
53 Agus phill clann Iſraeil o ruag-
adh nam Philiſteach, agus chreach iad
an camp [a].
54 Agus ghabh Daibhidh ceann an
Philiſtich, agus thug e leis e gu h-Ieru-
ſalem: ach chuir e 'armachd na bhùth.
55 Agus an uair a chunnaic Saul
Daibhidh a' dol a mach an aghaidh an
Philiſtich, thubhairt e ri Abner
ceannard an t-ſluaigh, Abneir, cò
d'am mac an t-òganach ſo? Agus
thubhairt Abner, Mar is beo t'anam,
O a righ, cha 'n'eil fhios agam.
56 Agus thubhairt an righ, Feòr-
aich [b] thuſa cò d'am mac an t-òganach
ſo.
57 Agus an uair a phill Daibhidh
o mharbhadh an Philiſtich, ghabh
Abner e, agus thug e 'm fianuis
Shauil e, le ceann an Philiſtich na
làimh.
58 Agus thubhairt Saul ris, Cò
d'am mac thu, òganaich? Agus
fhreagair Daibhidh, *is mi* mac do
fheirbhiſich Ieſe, a' Bhetlehemich.

C A I B. XVIII.

AGUS tharladh an uair a chuir e
crioch air labhairt ri Saul, gu'n
do cheangladh anam Ionatain ri anam
Dhaibhidh, agus ghràdhaich Ionatan
e mar 'anam féin.
2 Agus ghabh Saul *d'a ionnſuidh* e
air an là ſin, agus cha do leig e leis
pilltinn ni's mò gu tigh 'athar.
3 An ſin rinn Ionatan agus Daibh-
idh coimhcheangal, do bhrìgh gu'n
do ghràdhaich ſe e mar 'anam féin.
4 Agus chuir Ionatan dheth féin an
fhalluinn [c] a *bh*'air, agus thug e do
Dhaibhidh i, agus 'éididh cadhon gu
'chlaidheamh, agus gu 'bhogha, agus
gu 'chrios.
5 Agus chaidh Daibhidh mach
gach taobh a chuir Saul e, *agus*
ghiùlain ſe e féin gu glic: agus chuir
Saul e os cionn nam fear cogaidh; agus
bha e taitneach ann an sùilibh an
t-ſluaigh uile, agus mar an ceudna ann
an sùilibh fheirbhiſeach Shauil.
6 Agus an uair a bha iad a' teachd,
an déigh do Dhaibhidh pilltinn o
mharbhadh an Philiſtich, thàinig na
mnài a mach a uile bhailtibh Iſraeil,
a' ſeinn agus a' dannſadh an coinneamh
righ Shauil, le tiompanaibh, le gair-
deachas, agus le h-innealaibh ciuil
tri-theudach.
7 Agus fhreagair na mnai *a chéile
an uair a bha iad* a' ſeinn, agus thubh-
airt iad, Mharbh Saul a mhiltean, a-
gus Daibhidh a dheich miltean.
8 Agus bha Saul ro-fheargach, agus
mhi-thaitinn an ràdh ſin ris [d], agus
thubhairt e, Thug iad do Dhaibhidh
deich milte, agus dhomhſa cha d'thug
iad *ach* milte: agus *ciod* tuille
dh'fheudas bhi aige ach an rioghachd?
9 Agus chum Saul sùil [e] air Daibh-
idh o'n là ſin, agus o ſin a mach.
10 Agus air an la màireach thàinig
an droch ſpiorad o Dhia air Saul, a-
gus rinn e fàidheadoireachd [f] ann am
meadhon an tighe: agus chluich [g]
Daibhidh le a làimh, mar air uairibh [h]
eile; agus *bha* ſleagh ann an làimh
Shauil.
11 Agus thilg Saul an t-ſleagh, a-
gus thubhairt e, Buailidh mi Daibhidh
leatha gu ruig am balla: ach tharruing
Daibhidh as a làthair dà uair.
12 Agus bha eagal air Saul roimh
Dhaibhidh [k], do bhrìgh gu'n robh an
Tighearna maille ris, agus gu'n
d'imich e o Shaul.
13 Uime ſin chuir Saul air falbh
uaith e, agus rinn e na cheannard dha
féin os cionn mile e; agus chaidh e
mach, agus thàinig e ſtigh roimh 'n
t'ſluagh [l].
14 Agus ghiùlain Daibhidh e féin
gu glic na fhlighibh uile; agus *bha*
'n Tighearna maille ris.
15 Agus an uair a chunnaic Saul

[a] *am bùthan.* [b] *Fiosraich.* [c] *truſcan.* [d] *bha 'n ràdh ſin olc na ſhùilibh.* Eabh. [e] *ſheall Saul gu mi-runach.* [f] *bha e air boile.* [g] *bhuail.* [h] *laithibh.* [k] *roimh ghnùis Dhaibhidh.* Eabh. [l] *air ceann an t-ſluaigh.*

gu'n do ghiùlain se e féin gu ro-ghlic, bha eagal air roimhe.

16 Ach ghràdhaich Israel uile agus Iudah Daibhidh, do bhrigh gu'n deachaidh e mach agus gu'n d'thàinig e stigh rompa.

17 Agus thubhairt Saul ri Daibhidh, Feuch, mo nighean a's sine Merab, ise bheir mi dhuit na mnaoi: a mhàin bi thusa gaisgeil air mo shon-sa, agus cuir cathan an Tighearna: oir thubhairt Saul, Na biodh mo làmh-sa air, ach biodh làmh nam Philisteach air.

18 Agus thubhairt Daibhidh ri Saul, Co mise? agus ciod i mo bheatha, no teaghlach m'athar[a] ann an Israel, gu'm bithinn a'm' chliamhuin aig an righ?

19 Ach anns an àm sam bu chòir do Mherab nighean Shauil a bhi air a tabhairt do Dhaibhidh, thugadh i do Adriel am Meholatach na mnaoi.

20 Agus ghràdhaich Michal, nighean Shauil, Daibhidh; agus dh'innis iad *sin* do Shaul, agus thaitinn an ni ris[b].

21 Agus thubhairt Saul, Bheir mi dha i, a chum gu'm bi i dha na ribeadh, agus *gu'm bi* làmh nam Philisteach na aghaidh. Uime sin thubhairt Saul ri Daibhidh, Le *aon do'n* dithis bithidh tu a'd' chliamhuin agams' an diugh.

22 Agus dh'àithn Saul d'a sheirbhisich, *ag ràdh*, Labhraibh ri Daibhidh an uaigneas, ag ràdh, Feuch, tha tlachd aig an righ annad, agus tha gràdh aig a sheirbhisich uile dhuit: a nis uime sin bi-sa a'd' chliamhuin aig an righ.

23 Agus labhair seirbhisich Shauil na briathra so ann an cluasaibh Dhaibhidh: agus thubhairt Daibhidh, An ni faoin 'nar sùilibh sa bhi ann an cleamhnas ri righ, agus nach 'eil annamsa ach duine bochd, agus sa dhimeas?

24 Agus dh'innis seirbhisich Shauil dha, ag ràdh, Air an doigh so labhair Daibhidh.

25 Agus thubhairt Saul, Mar so their sibh ri Daibhidh, Cha 'n'eil an righ ag iarraidh dubharaidh[c] sam bith, ach ceud roimh-chroicionn do na Philistich, gu bhi diolta air naimhdibh an righ. Ach shaoil Saul gu'n d'thugadh e air Daibhidh tuiteam le làimh nam Philisteach.

26 Agus an uair a dh'innis a sheirbhisich do Dhaibhidh na briathra sin, thaitinn e ri Daibhidh a bhi na chliamhuin aig an righ: agus cha do chriochnaicheadh[d] na laithean.

27 Uime sin dh'éirich Daibhidh, agus dh'imich e féin agus a dhaoine, agus mharbh e do na Philistich dà cheud fear, agus thug Daibhidh leis an roimh-chroicinn, agus thug iad nan làn àireamh iad do'n righ, a chum gu'm biodh e na chliamhuin aig an righ: agus thug Saul dha Michal a nighean na mnaoi.

28 Agus chunnaic Saul, agus bha fios aige gu'*n robh* an Tighearna maille ri Daibhidh, agus *gu*'n do ghràdhaich Michal nighean Shauil e.

29 Agus bha fathast an tuilleadh eagail air Saul roimh Dhaibhidh; agus bha Saul na nàmhaid do Dhaibhidh an comhnuidh.

30 An sin chaidh ceannardan nam Philisteach a mach: agus an déigh dhoibh dol a mach, ghiùlain Daibhidh e féin ni bu ghlice na uile sheirbhisich Shauil: agus bha 'ainm ro-urramach.

CAIB. XIX.

AGUS labhair Saul r'a mhac Ionatan, agus r'a sheirbhisich uile, *iad* a mharbhadh Dhaibhidh.

2 Ach bha tlachd mòr aig Ionatan mac Shauil ann an Daibhidh: agus dh'innis Ionatan do Dhaibhidh, ag ràdh, Tha m'athair Saul ag iarraidh do mharbhadh; a nis uime sin, guidheam ort, thoir an aire dhuit féin sa' mhaduinn, agus fan ann an *àite* diomhair, agus folaich thu féin.

3 Agus théid mise mach, agus seasaidh mi làimh ri m'athair sa' mhachair anns *am bi* thu, agus labhraidh mi mu d' thimchioll ri m'athair; agus an ni a chi mi, sin innsidh mi dhuit[e].

4 Agus labhair Ionatan maith mu Dhaibhidh r'a athair Saul, agus thubhairt

[a] *ciod i beatha teaghlaich m'athar.* [b] *bha an ni ceart na shùilibh.* Eabh.
[c] *crodh.* [d] *chaimhlionadh.* [e] *chi mi ciod* a tha na chridhe, no their e, *agus innsidh mi dhuit.* Eabh.

airt e ris, Na peacaicheadh an righ an aghaidh a ſheirbhiſich, an aghaidh Dhaibhidh; do bhrigh nach do pheacaich eſan a'd' aghaidh-ſa, agus do bhrigh gu'*n robh* 'oibre do d' thaobh-ſa ro-mhaith:

5 Oir chuir e 'anam [a] na làimh, agus mharbh e am Philiſteach; agus dh'oibrich an Tighearna ſaorſa mhòr air ſon Iſraeil uile: chunnaic thu e agus rinn thu gairdeachas: c'ar ſon ma ta a pheacaicheas tu an aghaidh fola neo-chiontaich, le Daibhidh a mharbhadh gun aobhar?

6 Agus dh'éiſd Saul ri guth Ionatain; agus mhionnaich Saul, *Mar* is beo an Tighearna, cha mharbhar e.

7 Agus ghairm Ionatan air Daibhidh, agus chuir Ionatan an céill dha na briathra ſin uile: agus thug Ionatan Daibhidh a dh'ionnſuidh Shauil, agus bha e na fhianuis mar *a bha e* roimhe.

8 Agus bha cogadh a ris ann: agus chaidh Daibhidh a mach, agus chog e ris na Philiſtich, agus bhuail e iad le h-àr mor; agus theich iad ro-imhe.

9 Agus bha'*n* droch ſpiorad o'n Tighearn air Saul, an uair a ſhuidh e na thigh, agus a ſhleagh na làimh: agus chluich Daibhidh le *a* làimh.

10 Agus dh'iarr Saul Daibhidh a bhualadh gu ruig am balladh leis an t-ſleagh; ach tharruing e air falbh a làthair Shauil, agus bhuail e 'n t-ſleagh a ſtigh ſa' bhalladh: agus theich Daibhidh, agus chaidh e as air an oidhche ſin.

11 Agus chuir Saul teachdairean [b] a dh'ionnſuidh tighe Dhaibhidh, g'a choimhead [c], agus g'a mharbhadh ſa' mhaduinn: agus dh'innis Michal a bhean do Dhaibhidh *e*, ag ràdh, Mur teaſairg thu t'anam an nochd, am màireach cuirear gu bàs thu.

12 Agus leig Michal ſios Daibhidh tre uinneig: agus dh'fhalbh e, agus theich e, agus chaidh e as.

13 Agus ghabh Michal dealbh, agus chuir i ſan leabaidh *e*, agus chuir i adhartan [d] do *fhionnadh* ghabhar f'a cheann, agus chòmhdaich i le eudach *e*.

14 Agus an uair a chuir Saul teachdairean a ghlacadh Dhaibhidh, thubhairt i, *Tha e* tinn.

15 Agus chuir Saul na teachdairean *a ris* a dh'fhaicinn Dhaibhidh, ag ràdh, Thugaibh a nios ſan leabaidh a'm' ionnſuidhs' e, a chum gu marbh mi e.

16 Agus an uair a thàinig na teachdairean a ſtigh, feuch, *bha* dealbh anns an leabaidh, agus adhartan do *fhionnadh* ghabhar f'a cheann.

17 Agus thubhairt Saul ri Michal, C'ar ſon a mheall thu mi mar ſo, agus a chuir thu air falbh mo nàmhaid, air chor as gu'n deachaidh e as? Agus fhreagair Michal Saul, Thubhairt e rium, Leig dhomh imeachd; c'ar ſon a mharbhainn thu?

18 Agus theich Daibhidh, agus chaidh e as, agus thàinig e dh'ionnſuidh Shamueil gu Ramah, agus dh'innis e dha gach *ni* a rinn Saul ris: agus dh'imich eſan agus Samuel, agus ghabh iad comhnuidh ann an Naiot.

19 Agus dh'innſeadh do Shaul, ag ràdh, Feuch, *tha* Daibhidh aig Naiot ann an Ramah.

20 Agus chuir Saul teachdairean a ghlacadh Dhaibhidh: agus an uair a chunnaic iad cuideachd [e] nam fàidhean ri fàidheadoireachd, agus Samuel na ſheaſamh *mar* air a ſhuidheachadh os an cionn, bha ſpiorad Dhé air teachdairibh Shauil, agus rinn iadſan fàidheadoireachd mar an ceudna.

21 Agus an uair a dh'innſeadh *ſin* do Shaul, chuir e uaith mar-an ceudna teachdairean eile; agus rinn iadſan cuideachd [f] fàidheadoireachd. Agus chuir Saul teachdairean a ris an treas uair, agus rinn iadſan cuideachd fàidheadoireachd.

22 An ſin chaidh e féin mar an ceudna gu Ramah, agus thàinig e gu tobar mòr a *tha* ann an Sechu, agus dh'fheòraich e, agus thubhairt e, C'àit *am bheil* Samuel agus Daibhidh? agus thubhairt *aon*, Feuch, *tha iad* aig Naiot ann an Ramah.

23 Agus chaidh e 'n ſin gu Naiot ann an Ramah: agus bha ſpiorad Dhé air-ſan mar an ceudna, agus chaidh e air

[a] *a bheatha.* [b] *maoir.* [c] *fhaireadh.* [d] *cluaſag; cebir.* Eabh.
[e] *coimhchruinneachadh.* [f] *mar an ceudna.*

air aghaidh agus rinn e fàidheadoireachd, gus an d'thàinig e gu Naiot ann an Ramah.

24 Agus chuir eſan cuideachd 'eudach dheth, agus rinn e fàidheadoireachd am fianuis Shamueil air an dòigh cheudna: agus luidh [a] e ſios lomnochd rè an là ſin agus rè na h-oidhche. Uime ſin their iad, Am *bheil* Saul mar an ceudna am meaſg nam fàidhean?

CAIB. XX.

AGUS theich Daibhidh o Naiot ann an Ramah, agus thàinig e, agus thubhairt e am fianuis Ionatain, Ciod a rinn mi? ciod i m'eu-ceart [b], agus ciod e mo pheacadh am fianuis t'athar, gu bheil e 'g iarraidh m'anma?

2 Agus thubhairt eſan ris, Nar leigeadh Dia, cha'n fhaigh thu bàs: feuch, cha dean m'athair ni air bith mor no beag, nach foillſich e dhomhſa: agus c'ar ſon a dh'fholaicheadh m'athair uamſa an ni ſo? cha *bhi* e mar ſin.

3 Agus mhionnaich Daibhidh cuideachd, agus thubhairt e, Tha gu cinnteach fios aig t'athair gu'n d'fhuair miſe deagh-ghean a'd' ſhùilibh, agus their e, Na biodh fios aig Ionatan air ſo, air eagal gu'm bi doilgheas air: ach gu deimhin *mar* is beò an Tighearna, agus *mar* is beò t'anam, cha '*n'eil* ach ceum eadar miſe agus am bàs.

4 An ſin thubhairt Ionatan ri Daibhidh, Ge b'e ni a dh'iarras t'anam, eadhon *ſin* ni miſe dhuit.

5 Agus thubhairt Daibhidh ri Ionatan, Feuch, *tha* a' ghealach nuadh ann am màireach, agus bu chòir dhomhſa ſuidhe maille ris an righ gu biadh; ach leig air falbh mi, a chum as gu'm folaich mi mi féin anns a' mhachair gu feaſgar an treas *là*.

6 Ma dh'ionndraineas t'athair idir mi [c], an ſin their thu, Dh'iarr Daibhidh gu dùrachdach *cead* ormſa gu ruith do Bhetlehem a bhaile féin; oir *tha* ìobairt bhliadhnail [d] an ſin air ſon an teaghlaich uile.

7 Ma their e mar ſo, *Ro*-mhaith, *bithidh* ſìth aig do ſheirbhiſeach: ach ma bhios fearg ro-mhòr *air*, *an ſin* bi cinnteach gu bheil olc *air* a ſhonrachadh leis [e].

8 Uime ſin buinidh tu gu caoimhneil ri d' ſheirbhiſeach; oir thug thu air do ſheirbhiſeach coimhcheangal an Tighearna dheanamh riut: gidheadh, ma ta olc annamſa, marbh féin mi; oir c'ar ſon a bheireadh tu mi dh'ionnſuidh t'athar?

9 Agus thubhairt Ionatan, Gu ma fada ſin uait; oir ma bhitheas fios gu cinnteach agamſa gu bheil olc air a ſhonrachadh le m'athair gu teachd ortſa, an ſin nach innis miſe dhuit e?

10 An ſin thubhairt Daibhidh ri Ionatan, Cò dh'innſeas dhomh, ma fhreagras t'athair thu gu garg?

11 Agus thubhairt Ionatan ri Daibhidh, Thig, agus rachamaid a mach do'n mhachair. Agus chaidh iad a mach le chéile do'n mhachair.

12 Agus thubhairt Ionatan ri Daibhidh, *Gu'n deanadh* an Tighearna Dia Iſraeil [f], an uair a dh'fhidireas mi m'athair [g] mu'n àm *ſo* am màireach, *no* air an treas là, agus feuch, *ma bhios* maith *ann* a thaobh Dhaibhidh, agus nach cuir mi an ſin *fios* a'd' ionnſuidhſa, agus nach foillſich mi dhuit e;

13 Gu'n deanadh an Tighearna mar ſin, agus ni's ro-mhò ri Ionatan: ach ma's toil le m'athair olc *a dheanamh* ort, an ſin foillſichidh mi dhuit e, agus cuiridh mi air falbh thu, agus imichidh tu an ſìth; agus gu robh an Tighearna maille riut, mar a bha e maille ri m'athair-ſa.

14 Agus cha'n e mhàin, ma bhios [h] mi fathaſt beo, gu'n nochd thu dhomh caoimhneas an Tighearna, chum as nach faigh mi bàs:

15 Ach *cuideachd* cha ghearr thu as do chaoimhneas o'm' thigh gu bràth: cha *ghearr*, eadhon an uair a ghearras an Tighearna as naimhdean Dhaibhidh,

[a] *thuit.* Eabh. [b] *lochd.* [c] *Ma mhothaicheas t'athair mi air falbh.* [d] *laithean.* Eabh. [e] *gu bheil e cur roimhe an uile: gu bheil olc air a choimhlionadh leis.* Eabh. [f] *O Thighearna Dhé Iſraeil! Tha'n Tighearna Dia Iſraeil* na fhianuis. [g] *rannſaicheas mi m'athair, ni mi dichioll air inntinn m'athar ſhaotainn a mach.* [h] *am feadh a ta.*

idh, gach aon diubh bhàrr aghaidh na talmhainn.

16 Mar ſin rinn Ionatan *coimhcheangal* ri tigh Dhaibhidh, *ag ràdh*, Gu'n agradh an Tighearn e eadhon o làimh naimhde Dhaibhidh.

17 Agus thug Ionatan air Daibhidh mionnachadh a rìs, a chionn gu'n do ghràdhaich ſe e: oir ghràdhaich ſe e mar a ghràdhaich e 'anam féin.

18 An ſin thubhairt Ionatan ris, Am màireach *tha* ghealach nuadh *ann*; agus ionndrainear thu, a chionn gu'm bi d'àite-ſuidhe falamh.

19 Agus *an uair* a dh'fhanas tu gus an treas là, théid thu ſios gu grad, agus thig thu dh'ionnſuidh an àite anns an d'fholaich thu thu féin, an uair a bha'n gnothuch [a] *an làimh*, agus fanaidh tu aig a' chloich Efel.

20 Agus tilgidh miſe tri ſaighdean r'*a* taobh, mar gu'n tilginn air comharra.

21 Agus feuch, cuiridh mi òganach uam, *ag ràdh*, Falbh, faigh a mach na ſaighdean. Ma their mi gu cinnteach ris an òganach, Feuch, *tha* na ſaighdean air an taobh ſo dhiot, gabh iad [b]; an ſin thig thuſa: oir *tha* ſìth *ann* dhuit, agus cha 'n'eil *olc* ſam bith, *mar* is beo an Tighearna.

22 Ach ma their mi mar ſo ris an òganach, Feuch, *tha* na ſaighdean air an taobh thall diot; imich thuſa, oir chuir an Tighearn air falbh thu.

23 Agus *a thaobh* a' ghnothuich mu'n do labhair miſe agus thuſa, feuch, gu robh an Tighearn eadar miſe agus thuſa gu bràth.

24 Uime ſin dh'fholaich Daibhidh e féin anns a' mhachair: agus an uair a thàinig a' ghealach nuadh, ſhuidh an rìgh ſios gu biadh itheadh.

25 Agus ſhuidh an rìgh air a chathair féin, mar air uairibh eile, *eadhon* air cathair làimh ris a' bhalladh: agus dh'éirich Ionatan, agus ſhuidh Abner ri taobh Shauil: agus bha àite Dhaibhidh falamh.

26 Gidheadh, cha do labhair Saul a' bheag ſam bith air an là ſin: oir thubhairt e *leis féin* [c], Thàinig ni-eigin air, cha '*n'eil* e glan; gu cinnteach cha '*n'eil* e glan.

27 Agus thachair air an là 'màireach, an dara *la* do 'n mhìos, gu'n robh àite Dhaibhidh falamh: agus thubhairt Saul r'a mhac Ionatan, C'ar ſon nach d'thàinig mac Ieſe gu biadh, aon chuid an dé no'n diugh?

28 Agus fhreagair Ionatan Saul, Dh'iarr Daibhidh gu dùrachdach *cead* ormſa *dol* do Bhetlehem:

29 Agus thubhairt e, Leig air falbh mi, guidheam ort, oir *tha* iobairt aig ar teaghlach anns a' bhaile, agus dh'àithn mo bhràthair dhomh *a bhi 'n ſin*: agus a nis ma fhuair mi deagh ghean a'd' ſhùilibh, leig dhomh imeachd, guidheam ort, agus mo bhràithrean fhaicinn. Uime ſin cha d'thàinig e gu bord an rìgh.

30 An ſin las fearg Shauil an aghaidh Ionatain, agus thubhairt e ris, A mhic na *mnà* croſta ceannairceich [d], nach 'eil fhios agamſa gu'n do thagh thu mac Ieſe chum do mhaſlaidh [e] féin, agus a chum maſlaidh lomnochduigh do mhàthar?

31 Oir co fhad 'ſa bhios mac Ieſe beo air an talamh, cha daingnichear thuſa, no do rìoghachd: uime ſin a nis cuir *fios air*, agus thoir a'm' ionnſuidh e, oir gu cinnteach gheibh e bàs [f].

32 Agus fhreagair Ionatan 'athair Saul, agus thubhairt e, C'ar ſon a chuirear gu bàs e? ciod a rinn e?

33 Agus thilg Saul ſleagh air, chum a bhualadh: le ſin bha fios aig Ionatan gu'*n robh* e ſuidhichte le 'athair Daibhidh a chur gu bàs.

34 Uime ſin dh'éirich Ionatan o'n bhord ann am feirg ro-mhòir, agus cha d'ith e biadh ſam bith air an dara là do'n mhìos: oir bha e fa dhoilgheas air ſon Dhaibhidh, a chionn gu'n d'thug 'athair maſladh dha.

35 Agus anns a' mhaduinn chaidh Ionatan a mach do'n mhachair aig an àm a ſhuidhicheadh ri Daibhidh, agus òganach beag maille ris.

36 Agus thubhairt e r'a òganach,

Ruith,

[a] *ann an la a' ghnothuich.* Eabh. [b] *gabh e.* Eabh. [c] *ſaoil e.*
[d] *A mhic chroſda na ceannairc.* Eabh. [e] *t'ambluadh.* [f] *is mac do'n bhàs e.*

Ruith, faigh a nis a mach na ſaighdean a thilg mi. *Agus* an uair a ruith an t-òganach, thilg e ſaighid thairis air.

37 Agus an uair a thàinig an t-òganach gu àite na ſaighde a thilg Ionatan, ghlaodh Ionatan an déigh an òganaich, agus thubhairt e, Nach *'eil* an t-ſaighid air do thaobh thall?

38 Ghlaodh Ionatan mar an ceudna an déigh an òganaich, Luathaich, dean cabhag, na ſtad. Agus thionail òganach Ionatain ſuas na ſaighdean, agus thàinig e dh'ionnſuidh a mhaighſtir.

39 Ach cha robh fios aig an òganach air ni ſam bith; bha fios a mhàin aig Daibhidh agus Ionatan air a' chùis.

40 Agus thug Ionatan 'armachd d'a òganach, agus thubhairt e ris, Falbh, thoir do'n bhaile *iad*.

41 *Agus* co-luath 'ſa dh'fhalbh an t-òganach, dh'éirich Daibhidh a *àite* mu dheas, agus thuit e air 'aghaidh dh'ionnſuidh na talmhainn, agus chrom ſe e féin trí uairean: agus phòg iad a chéile, agus ghuil iad le chéile; ach *ghuil* [a] Daibhidh ni bu mhò.

42 Agus thubhairt Ionatan ri Daibhidh, Imich an sìth, do bhrìgh gu'n do mhionnaich ſinn le chéile ann an ainm an Tighearn, ag ràdh, Gu robh an Tighearn eadar miſe agus thuſa, agus eadar mo ſhliochd-ſa agus do ſhliochd-ſa gu bràth. Agus dh'éirich e agus dh'imich e: agus chaidh Ionatan do'n bhaile.

C A I B. XXI.

AN SIN thàinig Daibhidh gu Nob, a dh'ionnſuidh Ahimeleich an t-ſagairt: agus bha eagal air Ahimelech ag coinneachadh Dhaibhidh, agus thubhairt e ris, C'ar ſon *a tha* thu a'd' aonar, agus nach 'eil duine ſam bith maille riut?

2 Agus thubhairt Daibhidh ri Ahimelech an ſagart, Dh'àithn an righ gnothuch dhomhſa, agus thubhairt e rium, Na biodh fios aig duine ſam bith a thaobh a' ghnothuich mu'm bheil miſe 'gad chur uam, agus a dh'àithn mi dhuit: agus dh'orduich mi [b] do m' oganachaibh *dol* a dh'ionnſuidh a leithid ſo agus a leithid ſud a dh'àite.

3 A nis uime ſin ciod a tha 'na d' làimh? thoir *dhomh* cuig *builinnean* arain a'm' làimh, no ge b'e ni a tha làthair.

4 Agus fhreagair an ſagart Daibhidh, agus thubhairt e, Cha *'n'eil* arán coitcheann [c] ſam bith fa m' làimh, ach tha aran coiſrigte [d] ann; ma ghléidh na h-òganaich iad féin air bheag ſam bith o mhnaibh.

5 Agus fhreagair Daibhidh an ſagart, agus thubhairt e ris, Gu deimhin chumadh mnài uainne na tri laithe ſo, o thàinig miſe mach, agus tha [e] ſoithiche nan òganach naomha; agus tha *'n t-aran* coitcheann air chor, eadhon ge do naomhaicheadh e an diugh anns an t-ſoitheach [f].

6 Uime ſin thug an ſagart dha *aran* naomha; oir cha robh aran ſam bith an ſin ach aran na fianuis [g] a thugadh a fianuis an Tighearna, gu aran teth a chur sìos anns an là ſan d'thugadh air falbh e.

7 A nis *bha* duine àraidh do ſheirbhiſich Shauil an ſin air an là ſin, air a chumail an làthair an Tighearna; agus *b'e* 'ainm Doeg, Edomach, am fear a b'airde do na buachaillibh a *bhuineadh* do Shaul.

8 Agus thubhairt Daibhidh ri Ahimelech, Agus nach 'eil an ſo fa d' làimh ſleagh no claidheamh? oir cha d'thug mi aon chuid mo chlaidheamh no m'airm *eile* leam, a chionn gu'n robh gnothuch an righ cabhagach.

9 Agus thubhairt an ſagart, Claidheamh Gholiath an Philiſtich, a mharbh thu ann an gleann Elah, feuch, *tha* e *'n ſo* paiſgte ann an eudach air cùlaobh na h-Ephoid: ma ghabhas tu ſin dhuit féin, gabh e; oir cha *'n'eil claidheamh ſam bith* eile ach e an ſo. Agus thubhairt Daibhidh, Cha *'n'eil* a leithid eile ann, thoir dhomh e.

10 Agus dh'éirich Daibhidh, agus theich

[a] *gus* an do ghuil. Eabh. [b] *thug mi fios*. Eabh. [c] *cumanta*. [d] *naomhaichte*. [e] *bha*. [f] *agus ma bha neo-ghloine ſam bith air an t-ſlighe, gidheadh gu cinnteach an diugh bithidh na ſoithichean glan.* [g] *aran taiſbeanta*.

theich e air an là ſin a ſianuis Shauil,
agus chaidh e gu Achis righ Ghat.
11 Agus thubhairt ſeirbhiſich
Achis ris, Nach e ſo Daibhidh righ
na tìre? nach ann m'a thimchioll-ſan
a chan iad le chéile [a] ann an dannſ-
aibh, ag ràdh, Mharbh Saul a mhìlte,
agus Daibhidh a dheich mìlte?
12 Agus thaiſg Daibhidh ſuas na
briathra ſin na chridhe, agus bha
eagal mòr air roimh Achis righ Ghat.
13 Agus dh'atharraich e a ghiùlan
nam ſianuis, agus leig e air féin a bhi
air a' chuthach nan làmhaibh, agus
ſcrìob e air comhlaichibh [b] a' gheat-
aidh, agus leig e le 'ſhileadh tuiteam
sìos air 'fheuſaig.
14 An ſin thubhairt Achis r'a
ſheirbhiſich, Feuch, chì ſibh gu bheil
an duine air a' chuthach: c'ar ſon *ma*
ta thug ſibh a'm' ionnſuidhs' e?
15 Am bheil feum agamſa air
daoinibh air a' chuthach, gu'n dthug-
adh ſibh am *fear* ſo gu bhi air a'
chuthach a'm' làthair? an dthig am
fear ſo a ſteach do m' thigh-ſa?

C A I B. XXII.

DH'IMICH Daibhidh air an
aobhar ſin as ſin, agus chaidh e
as gu uaimh Adulaim: agus an uair
a chual' a bhràithrean agus tigh 'athar
uile *e*, chaidh iad sìos an ſin d'a ionn-
ſuidh.
2 Agus chruinnich d'a ionnſuidh
gach duine *a bha*'n teanntachd, agus
gach duine *a bha* ſa fhiachaibh, agus
gach duine *a bha* fuidh ſmuairein [c] na
inntinn; agus bha e na cheannard
orra: agus bha maille ris mu thim-
chioll ceithir cheud ſear.
3 Agus chaidh Daibhidh as ſin gu
Miſpeh Mhoaib, agus thubhairt e ri
righ Mhoaib, Thigeadh, guidheam
ort, m'athair agus mo mhàthair a mach,
agus bitheadh iad maille ribh, gus am
bi fios agam ciod a ni Dia air mo ſhon.
4 Agus thug e iad am ſianuis righ
Mhoaib; agus dh'fhan iad maille ris
rè nan làithean uile a bha Daibhidh
anns an daingneach.
5 Agus thubhairt am fàidh Gad ri
Daibhidh, Na fan anns an daingneach;
falbh, agus imich romhad gu tìr Iu-
dah. An ſin dh'fhalbh Daibhidh, a-
gus thàinig e gu coillteach Hareit.
6 Agus chuala Saul gu'm facas [d]
Daibhidh, agus na daoine a *bha* maille
ris: (a nis dh'fhan Saul ann an Gi-
beah fuidh chraoibh ann an Ramah,
agus a ſhleagh na làimh, agus a ſheir-
bhiſich uile nan ſeaſamh làimh ris.)
7 Agus thubhairt Saul r'a ſheirbhiſ-
ich a ſheas làimh ris, Eiſdibh a nis, a
Bheniamineacha: eadhon dhuibhſe
uile an dthoir mac Ieſe achanna a-
gus ſion-lioſan, *agus* an dean e ſibh
uile nar ceannardaibh air mhìltibh, a-
gus nar ceannardaibh air cheudaibh;
8 Gu'n deachaidh ſibh uile ann an
comh-bhoinn [e] a'm' aghaidh-ſa, agus
nach '*eil* neach ann a chuireas an céill
domh gu bheil mo mhac air deanamh
coimhcheangail ri mac Ieſe, agus nach
'*eil* neach agaibh a tha doilich air mo
ſhon, no chuireas an céill domh gu'n
do dhùiſg mo mhac mo ſheirbhiſeach
a'm' aghaidh, a dheanamh feall-ſho-
lach, mar air an la 'n diugh?
9 An ſin ſhreagair Doeg an t-E-
domach (a bha na ſheaſamh maille ri
ſeirbhiſich Shauil [f]) agus thubhairt e,
Chunnaic mi mac Ieſe a' teachd gu
Nob, a dh'ionnſuidh Ahimeleich mhic
Ahituib.
10 Agus dh'fhiosraich e air a ſhon
do'n Tighearna, agus thug e biadh
dha, agus thug e dha claidheamh
Gholiath an Philiſtich.
11 An ſin chuir an righ fios air
Ahimelech an ſagart, mac Ahituib, a-
gus tigh 'athar uile, na ſagairt a *bha*
ann an Nob: agus thàinig iad uile
dh'ionnſuidh an righ.
12 Agus thubhairt Saul, Eiſd a nis,
a mhic Ahituib. Agus ſhreagair eſan,
Tha mi 'n ſo, mo thighearna.
13 Agus thubhairt Saul ris, C'ar
ſon a chaidh ſibh ann an comh-bhoinn
a'm' aghaidh-ſa, thuſa agus mac Ieſe,
do bhrigh gu'n d'thug thu dha aran
agus claidheamh, agus gu'n d'fhioſ-
raich

[a] *ſhreagair iad a chéile.* [b] *dorſaibh.* [c] *neo-thoilichte; ſearbh.* Eabh. [d] *gu'n d'aithnicheadh.* Eabh. [e] *Gu'n d'rinn ſibh uile ceannairc, chuir ſibh uile bhur comhairle ri chéile.* [f] *a chaireadh os cionn ſheirbhiſeacha Shauil.*

raich thu do Dhia air a shon, a chum gu'n éireadh e suas a'm' aghaidh, a dheanamh feall-fholach, mar air an la 'n diugh?

14 An sin fhreagair Ahimelech an righ, agus thubhairt e, Agus cò am measg do sheirbhiseich uile a tha co firinneach ri Daibhidh, a tha na chliamhuin aig an righ, agus a dh'imicheas air t'iarrtus, agus a *tha* urramach ann ad thigh?

15 An do thòisich mi air an là sin [a] air Dia fhiosrachadh air a shon? gu ma fada sin uam: na cuireadh an righ ni *sam bith* as leth a sheirbhisich, *no as* leth tighe m'athar uile; oir cha robh fios aig do sheirbhiseach air ni *sam bith* dheth so uile, beag no mòr.

16 Agus thubhairt an righ, Gu cinnteach gheibh thu bàs, Ahimeleich, thu féin agus uile thigh t'athar.

17 Agus thubhairt an righ ris na gillibh ruith a sheas làimh ris, Tionndaidhibh agus marbhaibh sagartan an Tighearna; a chionn gu bheil mar an ceudna an làmh-san maille ri Daibhidh, agus a chionn gu'n robh fios aca gu'n do theich e agus nach do chuir iad an céill domhsa e. Ach cha b'àill le seirbhisich an righ an làmh a shìneadh a mach gu bualadh air sagartaibh an Tighearna.

18 Agus thubhairt an righ ri Doeg, Tionndaidh thusa, agus buail air na sagartaibh. Agus thionndaidh Doeg an t-Edomach, agus bhuail e air na sagartaibh; agus mharbh e air an la sin ceithir fichead agus cuig fir a dh'iomchair ephod do lion-eudach [b].

19 Agus bhuail e Nob baile nan sagart le faobhar a' chlaidheimh, eadar fhear agus bhean, leanabh agus chiochran, agus dhamh, agus asal, agus chaora, le faobhar a' chlaidheimh.

20 Agus chaidh aon do mhic Ahimeleich mhic Ahituib as, d'am b'ainm Abiatar,[c] agus theich e 'n déigh Dhaibhidh.

21 Agus dh'innis Abiatar do Dhaibhidh gu'n do mharbh Saul sagartan an Tighearna.

22 Agus thubhairt Daibhidh ri Abiatar, Bha fios agam air an là ud an robh Doeg an t-Edomach an sin, gu cinnteach gu'n innseadh e do Shaul: is mise b'aobhar *bàis* gach neach do thigh t'athar.

23 Fan thusa maille riumsa: na biodh eagal ort; oir esan a dh'iarras m'anam-sa, iarraidh e t'anam-sa: ach maille riumsa *bithidh* tu suidh dhidean.

C A I B. XXIII.

AN SIN dh'innis iad do Dhaibhidh, ag ràdh, Feuch, *tha* na Philistich a' cogadh an aghaidh Cheilah, agus tha iad a' creachadh nan urlar-bualaidh.

2 Uime sin dh'fhiosraich Daibhidh de'n Tighearna, ag ràdh, An d'théid mise, agus am buail mi na Philistich sin? Agus thubhairt an Tighearna ri Daibhidh, Falbh, agus buail na Philistich, agus saor Ceilah.

3 Agus thubhairt daoine Dhaibhidh ris, Feuch, *tha* eagal oirnne an so ann an Iudah: cia mò gu mòr ma ta ma théid sinn gu Ceilah an aghaidh armailtean nam Philisteach?

4 An sin dh'fhiosraich Daibhidh a ris do'n Tighearna. Agus fhreagair an Tighearn e, agus thubhairt e, Eirich, falbh sios gu Ceilah; oir bheir mise na Philistich thairis do d' làimh.

5 Agus chaidh Daibhidh agus a dhaoine gu Ceilah, agus chog e 'n aghaidh nam Philisteach, agus thug e leis an spréidh, agus bhuail e iad le h-àr mor; mar sin shaor Daibhidh luchd àiteachaidh Cheilah.

6 (A nis an uair a theich Abiatar mac Ahimeleich a dh'ionnsuidh Dhaibhidh gu Ceilah, chaidh e sios le ephod na làimh.)

7 Agus dh'innseadh do Shaul gu'n d'thainig Daibhidh gu Ceilah, agus thubhairt Saul, Thug Dia thairis do m' làimh e: oir dhruideadh a stigh e le dol a steach do bhaile gheataichean agus chrann.

8 Agus ghairm Saul an sluagh uile chum cogaidh, a dhol sios gu Ceilah a chuartachadh [c] Dhaibhidh agus a dhaoine.

9 Agus bha fios aig Daibhidh gu *rùn*

[a] *an diugh.* [b] *anart.* [c] [c] *a theannachadh.* Eabh.

robh Saul gu diomhair a' dealbhadh
uilc na aghaidh; agus thubhairt e ri
Abiatar an ſagart, Thoir an ſo an
ephod.
10 Agus thubhairt Daibhidh, A
Thighearna, Dhé Iſraeil, chuala do
ſheirbhiſeach gu cinnteach gu *bheil*
Saul ag iarraidh teachd gu Ceilah, a
ſgrios a' bhaile air mo ſhon-ſa.
11 An dthoir luchd-àiteachaidh [a]
Cheilah miſe thairis d'a làimh? an
dthig Saul a nuas mar a chuala do
ſheirbhiſeach? A Thighearna Dhé
Iſraeil, guidheam ort, innis do d'
ſheirbhiſeach. Agus thubhairt an Ti-
ghearna, Thig e nuas.
12 An ſin thubhairt Daibhidh, An
dthoir luchd-àiteachaidh Cheilah
miſe agus mo dhaoine thairis do làimh
Shauil? Agus thubhairt an Tighear-
na, Bheir iad thairis *thu*.
13 An ſin dh'éirich Daibhidh agus
a dhaoine, *a bha* mu thimchioll sè
ceud, agus chaidh iad a mach a Ceilah,
agus dh'imich iad an taobh a dh'fheud-
adh iad imeachd [b]. Agus dh'innſeadh
do Shaul gu'n deachaidh Daibhidh as
a Ceilah, agus leig e dheth dol a
mach.
14 Agus dh'fhan Daibhidh anns an
fhàſach ann an daingneachaibh làidir,
agus dh'fhan e ann an ſliabh am
fàſach Shiph; agus dh'iarr Saul e
gach aon là, ach cha d'thug Dia
thairis d'a làimh e.
15 Agus chunnaic Daibhidh gu
robh Saul air dol a mach a dh'iarraidh
'anma; agus bha Daibhidh ann am
fàſach Shiph ann an coille.
16 Agus dh'éirich Ionatan mac
Shauil, agus chaidh e dh'ionnſuidh
Dhaibhidh do'n choille, agus neart-
aich e a làmh ann an Dia.
17 Agus thubhairt e ris, Na biodh
eagal ort: oir cha'n fhaigh làmh
Shauil m'athar-ſa thu, agus riogh-
aichidh tu os cionn Iſraeil, agus is
miſe a's faigſe bhios dhuit; agus cuid-
eachd tha fios aig m'athair Saul air
ſin.
18 Agus rinn iadſan nan dithis
coimhcheangal am fianuis an Tighear-
na: agus dh'fhan Daibhidh anns a'
choille, agus dh'imich Ionatan d'a
thigh féin.
19 An ſin chaidh na Siphich ſuas a
dh'ionnſuidh Shauil gu Gibeah, ag
ràdh, Nach *'eil* Daibhidh 'ga fholach
féin maille ruinne ann an daingneach-
aibh ſa' choille, ann an cnoc Hachilah,
a tha air an taobh deas do Ieſimon?
20 A nis uime ſin, a *réir* uile
mhiann t'anma, O a righ, thig da
rireadh a nuas, agus *is i* ar cuid-ne a
thoirt thairis do làimh an righ.
21 Agus thubhairt Saul, Beann-
aichte *gu robh* ſibhſe o'n Tighearna,
oir ghabh ſibh truas rium.
22 Imichibh, guidheam oirbh,
ulluichibh fathaſt, agus biodh fios
agaibh, agus faicibh 'àit anns an gnàth
leis a bhi [c], *agus* cò a chunnaic an ſin
e: oir dh'innſeadh dhomh *gu* bheil e
deanamh gu ro ſheòlta.
23 Faicibh ma ta, agus biodh fios
agaibh air gach àite-folaich anns am
bheil e 'ga fholach féin, agus thigibh
a m' ionnſuidh a rìs le *fios* cinnteach,
agus théid miſe maille ribh: agus an
ſin, ma bhitheas e anns an tir, rann-
ſaichidh miſe mach e air feadh uile
mhìltean Iudah.
24 Agus dh'éirich iad, agus chaidh
iad gu Siph roimh Shaul: ach *bha*
Daibhidh agus a dhaoine ann am
fàſach Mhaoin, anns a' chòmhnard
air an taobh deas do Ieſimon.
25 Agus chaidh Saul agus a dhaoine
g'*a* iarraidh, agus dh'innis iad *ſin* do
Dhaibhidh: uime ſin thàinig e nuas
gu carraig, agus dh'fhan e ann am
fàſach Mhaoin. Agus an uair a chua-
la Saul *ſin*, chaidh e air tòir Dhaibh-
idh ann am fàſach Mhaoin.
26 Agus chaidh Saul air an taobh
ſo do'n t-ſliabh, agus Daibhidh agus a
dhaoine air an taobh eile do'n t-ſliabh:
agus rinn Daibhidh cabhag gu imeachd
air falbh roimhe Shaul [d]; oir chuairt-
ich Saul agus a dhaoine Daibhidh a-
gus a dhaoine, chum an glacadh.
27 Ach thàinig teachdaire dh'ionn-
ſuidh Shauil, ag ràdh, Dean cabhag,
agus thig; oir bhris na Philiſtich a
ſtigh air an tir.
28 Uime ſin phill Saul o dhol air
tòir

[a] *daoine.* [b] *dh'imich iad an taobh a dh'imich iad.* Eabh. [c] *anns am bheil a chos.* Eabh. [d] *air eagal Shauil.*

tòir Dhaibhidh, agus chaidh e 'n aghaidh nam Philiſteach: air an aobhar ſin thug iad Selah-hamah-lecot [a] mar ainm air an àite ſin.

29 Agus chaidh Daibhidh ſuas as ſin, agus ghabh e còmhnuidh ann an daingneachaibh làidir Engedi.

CAIB. XXIV.

AGUS an uair a bha Saul air pilltinn o leantuinn nam Philiſteach, dh'innſeadh dha, ag ràdh, Feuch, *tha* Daibhidh ann am fàſach Engedi.

2 An ſin ghabh Saul tri mìle fear taghta a h-Iſrael uile, agus chaidh e dh'iarraidh Dhaibhidh agus a dhaoine air aghaidh chreag nam fiadh-ghabhar.

3 Agus thàinig e dh'ionnſuidh mainnirean [b] nan caorach làimh ris an t-ſlighe, far *an robh* uaimh; agus chaidh Saul a ſteach a chòmhdachadh a chos: agus dh'fhan Daibhidh agus a dhaoine ann an taobhaibh na h-uamha.

4 Agus thubhairt daoine Dhaibhidh ris, Feuch an là mu'n d'thubhairt an Tighearna riut, Feuch, bheir mi thairis do nàmhaid do d' làimh, a chum as gu'n dean thu ris mar is àill leat. An ſin dh'éirich Daibhidh, agus ghearr e air falbh iomall falluinne Shauil os ìoſal.

5 Agus na dhéigh ſin bhuail cridhe Dhaibhidh e, a chionn gu'n do ghearr e air falbh iomall *falluinne* Shauil.

6 Agus thubhairt e r'a dhaoinibh, Nar leigeadh Dia gu'n deanainnſe an ni ſo ri m' thighearna aon ungta an Tighearna, mo làmh a ſhìneadh a mach na aghaidh, o's e aon ungta an Tighearn e.

7 Agus choiſg Daibhidh a dhaoine leis na briathraibh ſin, agus cha do leig e leo éirigh an aghaidh Shauil. Ach dh'éirich Saul ſuas as an uaimh, agus dh'imich e air a ſhlighe.

8 Agus dh'éirich Daibhidh ſuas an déigh ſin, agus chaidh e mach as an uaimh, agus ghlaodh e 'n déigh Shauil, ag ràdh, Mo thighearn, a righ. Agus an uair a dh'amhairc Saul na dhéigh, chrom Daibhidh e féin air aghaidh dh'ionnſuidh na talmhainn, agus rinn e ùmhlachd [c].

9 Agus thubhairt Daibhidh ri Saul, C'ar ſon a tha thu ag éiſdeachd ri briathraibh dhaoine, ag ràdh, Feuch, tha Daibhidh ag iarraidh do chron.

10 Feuch, air an la 'n diugh chunnaic do ſhùilean cionnus a thug an Tighearna thairis thu an diugh do m' làimh anns an uaimh: agus dh'iarr *cuid* orm do mharbhadh, ach chaomhain mo ſhùil thu, agus thubhairt mi, Cha chuir mi mo làmh a mach an aghaidh mo thighearna; oir is e aon ungta an Tighearn e.

11 Agus faic, O athair, eadhon faic iomall t'fhalluinne a'm' làimh: do bhrigh an uair a ghearr mi air falbh iomall t'fhalluinne, nach do mharbh mi thu, biodh fios agad agus faic nach '*eil* aon chuid olc no euſaontas [d] a'm' làimh, agus nach do pheacaich mi a't' aghaidh; gidheadh tha thu a' ſealg air m'anam, a chum a ghlacadh.

12 Gu'n dthugadh an Tighearna breth eadar miſe agus thuſa, agus gu'n dioladh an Tighearna miſe ort: ach cha bhi mo làmh-ſa ort.

13 Mar a their gnàth-fhocal nan ſean-fhear, O na h-aingidh thig aingidheachd: ach cha bhi mo làmh-ſa ort.

14 Cò an déigh an d'thàinig righ Iſraeil a mach? cò air am bheil thu 'n tòir? an déigh coin mhairbh, an déigh deargainne.

15 Uime ſin bitheadh an Tighearna na bhreitheamh, agus thugadh e breth eadar miſe agus thuſa, agus faiceadh e, agus tagradh e mo chùis, agus ſaoradh e mi as do làimh.

16 Agus an uair a chuir Daibhidh crìoch air na briathra ſin a labhairt ri Saul, an ſin thubhairt Saul, An e ſo do ghuth, a mhic, a Dhaibhidh? Agus thog Saul ſuas a ghuth, agus ghuil e.

17 Agus thubhairt e ri Daibhidh, Is tuſa a's fìrinniche na miſe: oir dhìol thuſa maith dhomhſa, ach dhìol miſe olc dhuitſe.

18 Agus

[a] *i. e. creag nan ſgaradh.*
[b] *chrò.*
[c] *chrom ſe e féin.*
[d] *eu-ceart, aingidheachd.*

18 Agus nochd thu an diugh cionnus a bhuin thu gu maith rium; do bhrigh, an uair a thug an Tighearna thairis mi do d' làimh, nach do mharbh thu mi.

19 Oir an uair a gheibh duine a nàmhaid, an leig e as gu maith[a] e? uime ſin gu'n dìoladh an Tighearna maith dhuitſe air ſon na rinn thu dhomhſa an diugh.

20 Agus a nis ſeuch, tha fios agam gu'm bi thu gu cinnteach a'd' righ, agus gu'n daingnichear rioghachd Iſraeil a'd' làimh.

21 Uime ſin mionnaich dhomhſa air an Tighearna, nach gearr thu as mo ſhliochd a'm' dhéigh, agus nach ſgrios thu m'ainm a tigh m'athar.

22 Agus mhionnaich Daibhidh do Shaul: agus chaidh Saul dhachaidh; ach chaidh Daibhidh agus a dhaoine ſuas do'n daingneach.

C A I B. XXV.

AGUS fhuair Samuel bàs; agus chruinnich na h-Iſraelich uile an ceann a chéile, agus rinn iad caoidh air a ſhon, agus dh'adhlaic iad e na thigh ann an Ramah. Agus dh'éirich Daibhidh, agus chaidh e sios gu fàſach Pharain.

2 Agus *bha* duine ann am Maon, aig *an robh* a ſhealbh[b] ann an Carmel, agus *bha* 'n duine ro-mhòr, agus bha tri mile caora aige, agus mile gabhar: agus bha e a' lomairt[c] a chaorach ann an Carmel.

3 A nis b'e ainm an duine Nabal, agus ainm a mhnà Abigail: agus *bha* i na mnaoi *aig an robh* deagh thuigſe, agus maiſeach na dealbh; ach *bha* 'n duine iargalta[d], agus olc na ghnìomharaibh, agus *bha* e do thigh Chaleib[e].

4 Agus chuala Daibhidh ſan fhàſach gu'*n robh* Nabal a' lomairt a chaorach.

5 Agus chuir Daibhidh uaith deichnear òganach, agus thubhairt Daibhidh ris na h-òganaich, Gabhaibh ſuas gu Carmel, agus rachaibh a dh'ionnſuidh Nabail, agus cuiribh fàilte air a'm' ainm-ſa.

6 Agus mar ſo their ſibh, Slàn *gu robh thu*[f]; agus sìth *gu robh* dhuit féin, agus sìth do d' thigh, agus sìth do gach ni a *th*'agad.

7 Agus a nis chuala mi gu bheil luchd-lomairt chaorach agad: a nis do bhuachaillean-ſa, a bha maille ruinn, cha d'rinn ſinn cron orra, ni mò a dh'ionndraineadh[g] ni ſam bith leo rè na h-aimſir a bha iad ann an Carmel.

8 Feòraich do d' òganachaibh, agus innſidh iad dhuit: faigheadh ma ta na h-òganaich deagh-ghean a'd' ſhùilibh, oir air la maith[h] thàinig ſinn: thoir, guidheam ort, do d' ſheirbhiſich, agus do d' mhac Daibhidh, ge b'e ni a thig a dh'ionnſuidh do làimhe[k].

9 Agus an uair a thàinig òganaich Dhaibhidh, labhair iad ri Nabal a réir nam briathra ſin uile ann an ainm Dhaibhidh, agus bha iad nan tosd[l].

10 Agus fhreagair Nabal ſeirbhiſich Dhaibhidh, agus thubhairt e, Cò e Daibhidh, agus cò e mac Ieſe? is lionmhor ſeirbhiſich ſna laithibh ſo a tha briſeadh air falbh gach duine dhiubh o 'mhaighſtir.

11 An gabh miſe ma ta m'aran, agus m'uiſge, agus m'fheoil a mharbh mi air ſon mo luchd-lomairt, agus an tabhair mi e do dhaoinibh nach aithne dhomh cia as *a tha* iad?

12 Uime ſin thionndaidh òganaich Dhaibhidh air an ſlighe, agus phill iad, agus thàinig iad agus dh'innis iad dha do réir nam briathra ſin uile.

13 Agus thubhairt Daibhidh r'a dhaoinibh, Cuiribh gach duine a chlaidheamh air. Agus chuir gach duine dhiubh a chlaidheamh air, agus chuir Daibhidh mar an ceudna a chlaidheamh air: agus chaidh ſuas an déigh Dhaibhidh mu thimchioll ceithir cheud fear, agus dh'fhan dà cheud maille ris an airneis.

14 Ach dh'innis fear do na h-òganachaibh do Abigail bean Nabail, ag

ràdh,

[a] *air ſlighe mhaith.* Eabh.   [b] *a ni, a ſpréidh; 'obair.* Eabh.
[c] *rùſgadh.*   [d] *ainmeineach; cruaidh.* Eabh.   [e] bu *Chalebeach e.* Eabh.
[f] *mar ſo their ſibh ris-ſan a tha beò* ann an ſaibhreas.   [g] *chailleadh.*
[h] *ſubhach.*   [k] *gheibh do làmh?* Eabh.   [l] *ſguir iad, ſtad iad.*

râdh, Feuch, chuir Daibhidh teachdairean as an fhâſach a chur fàilte air ar maighſtir, agus thug e anacainnt dhoibh.

15 Ach *bha* na daoine ro-mhaith ruinn, agus cha d'rinneadh cron oirnn, ni mó a dh'ionndrain [a] ſinn ni ſam bith rè na h-aimſir a bha [b] ſinn maille riu, 'nuair a bha ſin ſan fhearann.

16 Bha iad nam balladh dhuinn araon a dh'oidhche agus a là, rè na h-aimſir a bha ſinn maille riu ag ionaltradh nan caorach.

17 A nis air an aobhar ſin biodh fios agad agus ſmuainich ciod a ni thu; oir ſhonruicheadh olc an aghaidh ar maighſtir, agus an aghaidh a thighe uile: agus is mac do Bhelial esan, air chor as nach feud *neach* labhairt ris.

18 An ſin rinn Abigail cabhag, agus ghabh i dà cheud *builionn* arain, agus dà ſhearrag fhiona, agus cùig caoraich air an deaſachadh, agus cùig toimhsean do ſhiol cruaidhichte [c], agus ceud bagaide [d] do fhion-dhearcaibh tiormaichte, agus dà cheud meall do fhigibh; agus chuir i air aſalaibh *iad*.

19 Agus thubhairt i r'a h-òganachaibh, Rachaibh air bhur n-aghaidh romham: feuch, *tha* mi teachd 'nar dèigh: ach cha d'innis i *ſin* d'a fear Nabal.

20 Agus an uair a bha i a' marcachd air an aſail, agus a' teachd a nuas ann am faſgath an t-ſléibh, feuch thàinig Daibhidh agus a dhaoine a nuas na còdhail, agus choinnich i iad.

21 A nis thubhairt Daibhidh, Gu cinnteach is ann gu diomhaoin a ghléidh miſe gach *ni* a bh'aig an *fhear* ſo san fhâſach, air chor as nach d'ionndraineadh ni air bith do gach *ni* a *bhuineadh* dha; oir dhìol eſan olc dhomhſa an éiric maith.

22 Gu'n deanadh Dia mar ſin ri naimhdibh Dhaibhidh, agus tuille mar an ceudna, ma dh'fhàgas miſe dhiubhſan uile a *tha* aige gu ruig a' mhaduinn, aon air bith a ni uiſge ri balladh.

23 Agus an uair a chunnaic Abigail Daibhidh, rinn i cabhag agus theirinn i bhàrr na h-aſail, agus thuit i sios air a h-aghaidh am fianuis Dhaibhidh, agus chrom ſi i féin gu làr,

24 Agus thuit i aig a choſaibh, agus thubhairt i, Ormſa, *eadhon* ormſa mo thighearna, *bitheadh* an cionta ſo, agus labhradh, guidheam ort, do bhanoglach ann ad éiſdeachd, agus cluinn briathra do bhanoglaich.

25 Na dthugadh mo thighearna, guidheam ort, fa'near an duine ſo [e] le Belial, eadhon Nabal; oir a *réir* 'ainme, mar ſin *tha* e: *is e* Nabal [f] 'ainm, agus *tha* amaideachd maille ris: ach cha'n fhaca miſe, do bhanoglach, òganaich mo thighearna, a chuir thu uait.

26 A nis uime ſin, mo thighearna, *mar* is beò an Tighearna, agus *mar* is beo t'anam, a chionn gu'n do chum an Tighearn thuſa o theachd *a dhòrtadh* fola, agus o thu féin a dhìoladh le d' làimh féin; a nis uime ſin mar Nabal bitheadh do naimhdean, agus iadſan a dh'iarras olc do m' thighearna:

27 Agus a nis am beannachadh [g] ſo, a thug do bhanoglach a dh'ionnſuidh mo thighearna, thugar e eadhon do na h-òganaich a tha ſiubhal an cois [h] mo thighearna.

28 Maith, guidheam ort, cionta do bhanoglaich; oir ni an Tighearna gu cinnteach tigh feaſmhach do m' thighearna do bhrigh gu bheil mo thighearn a' cur cathan an Tighearna, agus nach d'fhuaradh olc annad o *thùs* do làithean.

29 Gidheadh dh'éirich duine gu dol air do thòir, agus a dh'iarraidh t'anma: ach bithidh anam mo thighearna air a cheangal ſuas ann an ceanglachan na beatha aig an Tighearna do Dhia; agus anmanna do naimhdean,

[a] *chaill.* [b] *a ghluais.* Eabh. [c] *do ghràn gradain.* [d] *badan; triopall.* Eir. *clusters.* Saſg. [e] *Na cuireadh mo thighearn a chridhe air an duine ſo.* Eabh. [f] *i. e. amadan.* [g] *an tiodhlac.* [h] *a' leantuinn.*

naimhdean, iadſan tilgidh e mach, *mar a* meadhon croinn tàbhuill [a].

30 Agus an uair a ni an Tighearna do m' thighearn a réir gach maith a labhair e mu d' thimchioll, agus a dh'orduicheas e thu a'd uachdaran os cionn Iſracil;

31 Cha bhi ſo chum doilgheis [b] dhuit, no chum oilbheim cridhe do m' thighearna, gu'n do dhòirt thu fuil gun aobhar, agus gu'n do dhiol mo thighearna e féin: ach an uair a bhuineas an Tighearna gu maith ri m' thighearna, an ſin cuimhnich air do bhanoglaich.

32 Agus thubhairt Daibhidh ri Abigail, Beannaichte *gu robh* an Tighearna Dia Iſraeil, a chuir thuſa an diugh a'm' choinneamhſa;

33 Agus beannaichte *gu robh* do chomhairle, agus beannaichte *gu robh* thu féin, a chum miſe an diugh o theachd a dhòrtadh fola, agus o mi féin a dhioladh le m' làimh féin.

34 Oir gu deimhin. *mar* is beo an Tighearna Dia Iſraeil, a chum mis' o chron a dheanamh ort, mur bitheadh tu air deanamh cabhaig, agus air teachd a'm' choinneamh, gu cinnteach cha'n fhàgta do Nabal gu ſolus na maidne neach ſam bith a ni uiſge ri balladh.

35 Uime ſin ghabh Daibhidh as a làimh na thug i d'a ionnſuidh, agus thubhairt e rithe, Gabh ſuas ann an ſith a dh'ionnſuidh do thighe; faic, dh'éiſd mi ri d' ghuth, agus ghabh mi ri d' ghnùis.

36 Agus thàinig Abigail a dh'ionnſuidh Nabail, agus feuch, *bha* cuirm aige na thigh mar chuirm righ; agus *bha* cridhe Nabail ſubhach an taobh a ſtigh dheth, oir *bha* e gu mòr air mhiſg: uime ſin cha d'innis i dha a bheag no mhor, gu ſolus na maidne.

37 Ach anns a' mhaduinn, an uair a chaidh am fion a Nabal [c], agus a dh'innis a bhean dha na nithe ſin, bhàſaich a cridhe an taobh a ſtigh dheth, agus bha e mar chloich.

38 Agus mu thimchioll deich laithean *na dhéigh ſin* bhuail an Tighearna Nabal, agus fhuair e bàs.

39 Agus an uair a chuala Daibhidh gu'n d'fhuair Nabal bàs, thubhairt e, Beannaichte *gu robh* an Tighearn a thagair cùis mo mhaſlaidh o làimh Nabail, agus a chum a ſheirbhiſeach o olc: oir thionndaidh an Tighearn aingidheachd Nabail air a cheann féin. Agus chuir Daibhidh *teachdaire* uaith, agus labhair e ri Abigail, a chum a gabhail dha féin na mnaoi.

40 Agus an uair a thàinig ſeirbhiſich Dhaibhidh a dh'ionnſuidh Abigail gu Carmel, labhair iad rithe, ag ràdh, Chuir Daibhidh ſinn a'd' ionnſuidh a chum do ghabhail thuige [d] a'd' mhnaoi.

41 Agus dh'éirich i agus chrom ſi i féin air a h-aghaidh dh'ionnſuidh na talmhainn, agus thubhairt i, Feuch, bitheadh do bhanoglach na h-innilt [e] a nigheadh chos ſheirbhiſeach mo thighearna.

42 Agus rinn Abigail cabhag, agus dh'éirich i, agus mharcaich i air aſail, agus cùigear ghruàgach aice ag imeachd na déigh; agus lean i teachdairean Dhaibhidh, agus bha i na mnaoi aige.

43 Ghabh Daibhidh cuideachd Ahinoam o Ieſreel, agus bha iad mar an ceudna le chéile nam mnaibh aige.

44 Oir thug Saul a nighean Michal, bean Dhaibhidh, do Phalti mac Lais, a *bha* do Ghalim.

C A I B. XXVI.

AGUS thàinig na Siphich a dh'ionnſuidh Shauil gu Gibeah, ag ràdh, Nach 'eil Daibhidh 'ga fholach féin ann an ſliabh Hachilah fa chomhair Ieſimoin?

2 An ſin dh'éirich Saul, agus chaidh e ſios gu fàſach Shiph, agus maille ris tri mile fear taghta do Iſrael, a dh'iarraidh Dhaibhidh ann am fàſach Shiph.

3 Agus champaich Saul ann an ſliabh Hachilah, a *tha* fa chomhair Ieſimoin air an t-ſlighe: ach dh'fhan Daibhidh anns an fhàſach, agus chunnaic e gu'n d'thàinig Saul na dhéigh do'n fhàſach.

[a] *meadhon glaice croinn-tàbhuill.* Eabh. [b] *tuiſlidh.* [c] *an uair a thàinig Nabal gu 'chéill.* [d] *chuige.* Eir. [e] *na ſeirbhiſich.*

4 Uime ſin chuir Daibhidh mach luchd-rannſachaidh, agus thuig e gu'n d'thàinig Saul da rireadh.

5 Agus dh'éirich Daibhidh, agus thàinig e dh'ionnſuidh an àite anns an do champaich Saul: agus chunnaic Daibhidh an t-àit anns an robh Saul na luidhe, agus Abner mac Ner, ceannard 'armailte: agus luidh Saul an taobh a ſtigh do'n chlais-bhlàir[a], agus champaich an ſluagh m'a thimchioll.

6 An ſin fhreagair Daibhidh, agus thubhairt e ri Ahimelech an Hiteach, agus ri Abiſai, mac Sheruiah, bràthair Ioaib, ag ràdh, Cò théid sìos maille riumſa dh'ionnſuidh Shauil do'n champ? Agus thubhairt Abiſai, Théid miſe sìos maille riut.

7 Uime ſin thàinig Daibhidh agus Abiſai dh'ionnſuidh an t-ſluaigh ſan oidhche; agus feuch, luidh Saul na chodal an taobh a ſtigh do'n chlais-bhlàir, agus a ſhleagh sàthta ſan talamh aig a cheann-adhairt; ach luidh Abner agus an ſluagh mu'n cuairt air.

8 An ſin thubhairt Abiſai ri Daibhidh, Thug Dia thairis do nàmhaid an diugh do d' làimh: a nis uime ſin, leig leam a bhualadh, guidheam ort, leis an t-ſleagh a dh'ionnſuidh na talmhainn aon uair, agus cha *bhuail* mi e an dara uair.

9 Agus thubhairt Daibhidh ri Abiſai, Na marbh e; oir cò a ſhìneas a mach a làmh an aghaidh aoin ungta an Tighearna, agus a bhios neo-chiontach?

10 Thubhairt Daibhidh mar an ceudna, *Mar* is beo an Tighearna, buailidh an Tighearn e, no thig a là anns am faigh e bàs, no théid e sìos do'n chath agus tuitidh e.

11 Nar leigeadh an Tighearna gu'n ſìninnſe mach mo làmh an aghaidh aoin ungta an Tighearna: ach a nis gabh, guidheam ort, an t-ſleagh a *tha* aig a cheann-adhairt, agus an ſoitheach uiſge, agus bìomaid ag imeachd.

12 Agus ghabh Daibhidh an t-ſleagh agus an ſoitheach uiſge o cheann-adhairt Shauil, agus dh'imich iad rompa, agus cha robh neach ann a chunnaic ſin, no aig an robh fios air, no a mhoſgail; oir *bha* iad uile nan codal, do bhrigh gu'n do thuit codal trom o'n Tighearn orra.

13 An ſin chaidh Daibhidh thairis do'n taobh eile, agus ſheas e air mullach ſléibhe fad as, *le* aſtar mòr eatorra.

14 Agus ghlaodh Daibhidh ris an t-ſluagh, agus ri Abner mac Ner, ag ràdh, Nach freagair thu, Abneir? Agus fhreagair Abner, agus thubhairt e, Cò thuſa, *a tha* glaodhaich ris an righ?

15 Agus thubhairt Daibhidh ri Abner, Nach fear *treun* thuſa? agus cò *a's* coſmhuil riut ann an Iſrael? c'ar ſon ma ta nach do choimhid thu do thighearn an righ? oir thàinig aon do'n t-ſluagh a ſteach a mharbhadh an righ do thighearna.

16 Cha *'n'eil* an ni ſo maith a rinn thu; *mar* is beo an Tighearna, *tha* ſibh a' toilltinn a' bhàis[b], do bhrigh nach do ghléidh ſibh bhur maighſtir, aon ungta an Tighearna: agus a nis faic c'àit *am bheil* ſleagh an righ, agus an ſoitheach uiſge, a *bha* aig a cheann-adhairt?

17 Agus dh'aithnich Saul guth Dhaibhidh, agus thubhairt e, An e ſo do ghuth-ſa, a mhic, a Dhaibhidh? agus thubhairt Daibhidh, *Is e* mo ghuth-ſa *a th'ann*, mo thighearn, a righ.

18 Agus thubhairt e, C'ar ſon *a tha* mo thighearn air tòir a ſheirbhiſich? oir ciod a rinn mi? no ciod an t-olc a th'ann am làimh?

19 A nis uime ſin, guidheam ort, éiſdeadh mo thighearna an righ ri briathraibh a ſheirbhiſich: ma's e an Tighearn a bhroſnuich thu a'm' aghaidh, gabhaidh e tabhartas[c]: ach ma's iad clann nan daoine, mallaichte *tha* iad am ſranuis an Tighearna, oir dh'fhuadaich iad miſe mach an diugh o fhantuinn ann an oighreachd an Tighearna, ag ràdh, Falbh, dean ſeirbhis do dhiathaibh eile.

20 A nis ma ta, na tuiteadh m' fhuil

[a] *an taobh a ſtigh do chuairt nan carbad.* [b] is *mic do'n bhàs ſibh.* Eabh.
[c] *gabhaidh e ſàile tabhartais.* Eabh.

fhuil a dh'ionnſuidh na talmhainn ann am fianuis an Tighearna; oir thàinig righ Iſraeil a mach a dh'iarraidh deargainne, mar a ruaigeas *fear* cearc choille [a] anns na beanntaibh.

21 An ſin thubhairt Saul, Pheacaich mi: pill, a mhic, a Dhaibhidh, oir cha dean mi cron ort tuilleadh, a chionn gu'n robh m'anam luachmhor a'd' ſhùilibh an diugh: feuch, rinn mi gu h-amaideach, agus chaidh mi air ſeacharan gu ro-mhòr.

22 Agus fhreagair Daibhidh agus thubhairt e, Feuch ſleagh an righ; agus thigeadh aon do na h-òganaich a nall agus gabhadh e i.

23 Agus iocadh an Tighearna do gach neach a réir 'ionracais agus 'fhìreantachd: oir thug an Tighearna thairis thu an diugh do m' làimh-ſa, ach cha b'àill leam mo làmh a ſhìneadh a mach an aghaidh aoin ungta an Tighearna.

24 Agus feuch, mar a mheaſadh t'anam-ſa gu mòr leamſa an diugh, mar ſin bitheadh m'anam-ſa air a mheas gu mòr leis an Tighearna, agus ſaoradh e mi as gach gàbhadh.

25 Agus thubhairt Saul ri Daibhidh, Beannaichte gu robh thuſa, a mhic, a Dhaibhidh: an dà chuid ni thu *nithe* mòra, agus mar an ceudna bheir thu gu cinnteach buaidh. Agus dh'imich Daibhidh air a ſhlighe, agus phill Saul do 'àite féin.

C A I B. XXVII.

AGUS thubhairt Daibhidh na chridhe, A nis tuitidh mi la éigin an làimh Shauil [b]; cha *'n'eil* ni air bith a's fearr dhomh na mi dhol as gu luath do dhùthaich nam Philiſteach, a chum gu'n leig Saul dheth [c] miſe iarraidh ni's mò ann an crìch air bith do Iſrael, agus gu'n dthéid mi as o 'làimh.

2 Agus dh'éirich Daibhidh, agus chaidh e thairis agus an ſè ceud fear a *bha* maille ris, a dh'ionnſuidh Achis mhic Mhaoich, righ Ghat.

3 Agus ghabh Daibhidh còmhnuidh maille ri Achis ann an Gat, e féin agus a dhaoine, gach fear le 'theaghlach, Daibhidh agus a dhà mhnaoi, Ahinoam a' Bhan-ieſreeleach, agus Abigail a' Bhan-charmeleach, bean Nabail.

4 Agus dh'innſeadh do Shaul gu'n do theich Daibhidh gu Gat, agus cha d'iarr e ni's mò air a ſhon.

5 Agus thubhairt Daibhidh ri Achis, Ma fhuair mi nis deagh-ghean a'd' ſhùilibh, thugar dhomh àit ann am baile éigin ſan dùthaich, a chum as gu'n gabh mi còmhnuidh an ſin: oir c'ar ſon a ghabhadh do ſheirbhiſeach còmhnuidh anns a' bhaile rioghail maille riutſa?

6 An ſin thug Achis dha Siclag air an là ſin: uime ſin buinidh Siclag do righribh Iudah gus an la 'n diugh.

7 Agus b'e ſad na h-aimſir [d] a dh'fhan Daibhidh ann an dùthaich nam Philiſteach, bliadhna iomlan [e] agus ceithir miosan.

8 Agus chaidh Daibhidh agus a dhaoine ſuas, agus bhris iad a ſtigh air na Geſuraich [f], agus na Geſirich, agus na h-Amalecich; oir *b'*iadſan o ſhean luchd-àiteachaidh na tìre, mar a théid thu gu Sur, eadhon gu tìr na h-Eiphit.

9 Agus bhuail Daibhidh an tìr, agus cha d'fhàg e fear no bean beo: agus thug e leis na caoraich, agus am buar, agus na h-aſail, agus na càmhail, agus an t-eudach; agus phill e, agus thàinig e gu Achis.

10 Agus thubhairt Achis, C'àit an do bhris ſibh a ſtigh an diugh? Agus thubhairt Daibhidh, Air an taobh deas do Iudah, agus air an taobh deas do na Ierahmeelich, agus air an taobh deas do na Cenich.

11 Agus fear no bean cha do leig Daibhidh as beo, a thoirt *ſgeula* gu Gat, ag ràdh, Air eagal gu'n innſeadh iad oirnn, ag ràdh, Mar ſo rinn Daibhidh. Agus mar ſo bha a ſheòl rè na h-aimſir a dh'fhan e ann an dùthaich nam Philiſteach.

12 Agus chreid Achis Daibhidh, ag ràdh, Thug e air a ſhluagh Iſrael gràin mhòr a ghabhail deth: uime ſin bithidh

[a] *cearc-thomain; corc.* Eabh.
[b] *cuirear gu bàs mi la éigin le làimh Shauil.*
[c] *gu'n caill Saul a dhòchas a'm thaobh-ſa.*
[d] *àireamh nan laithean.* Eabh.
[e] *laithean.* Eabh.
[f] *chaidh iad a chreachadh nan Geſurach.*

bithidh e na ſheirbhiſeach agamſa gu
bràth.

CAIB. XXVIII.

AGUS anns na laithibh ſin chruinn-
ich na Philiſtich an armailt-
ean an ceann a chèile chum cogaidh,
a chur catha ri h-Iſrael agus thubh-
airt Achis ri Daibhidh, Biodh fios gu
cinnteach agad gu'n dthéid thu mach
maille riumſa chum catha, thu féin
agus do dhaoine.
2 Agus thubhairt Daibhidh ri
Achis, Gu deimhin bithidh fios agad
ciod a ni do ſheirbhiſeach. Agus
thubhairt Achis ri Daibhidh, Uime
ſin ni mi fear-gleidhidh mo chinn diot
gu bràth.
3 A nis fhuair Samuel bàs, agus
rinn Iſrael uile caoidh air a ſhon, agus
dh'adhlaic iad e ann an Ramah na
bhaile féin: agus chuir Saul air falbh
iadſan aig an robh leannain-sith, agus
na fioſaichean, as an tìr.
4 Agus chruinnicheadh na Philiſ-
tich an ceann a chéile, agus thàinig
iad agus champaich iad ann an Sunem:
agus chruinnich Saul Iſrael uile an
ceann a chéile, agus champaich iad
ann an Gilboa.
5 Agus an uair a chunnaic Saul
feachd nam Philiſteach, bha eagal air,
agus chriothnuich a chridhe gu mòr.
6 Agus an uair a dh'fhiosraich Saul
do'n Tighearna, cha do fhreagair an
Tighearn e, aon chuid le aiſlingibh,
no le Urim, no le fàidhibh.
7 An ſin thubhairt Saul r'a ſheir-
bhiſich, Iarraibh dhomhſa bean aig
am bheil leannan-sith, agus théid mi
d'a h-ionnſuidh, agus fioſraichidh mi
dhith. Agus thubhairt a ſheirbhiſich
ris, Feuch, *tha* bean aig am bheil
leannan-sith ann an Endor.
8 Agus chuir Saul e féin ann an
riochd eile, agus chuir e air eudach
eile, agus dh'imich e, agus dithis
dhaoine maille ris, agus thàinig iad a
dh'ionnſuidh na mnà anns an oidhche,
agus thubhairt e, Dean fioſachd [a]
dhomhſa, guidheam ort, leis an
leannan-ſhith, agus tog ſuas dhomh
eſan a dh'ainmicheas mi dhuit.
9 Agus thubhairt a' bhean ris,
Feuch, tha fios agad ciod a rinn Saul,
cionnus a ghearr e as iadſan aig an
robh leannain sith, agus na fioſ-
aichean, as an tìr: c'ar ſon ma ta a
tha thu a' leagadh ribidh air ſon
m'anma, chum mo chur gu bàs?
10 Agus mhionnaich Saul dh'i air
an Tighearn, ag ràdh, *Mar* is beo
an Tighearna, cha tachair olc ſam
bith dhuit air ſon an ni ſo.
11 An ſin thubhairt a' bhean, Cò
thogas mi nios dhuit? Agus thubhairt
eſan, Tog a nios dhomh Samuel.
12 Agus an uair a chunnaic a'
bhean Samuel, ghlaodh i le guth ard,
agus labhair a' bhean ri Saul, ag
ràdh, C'ar ſon a mheall thu mi? oir
is tu Saul?
13 Agus thubhairt an righ rithe,
Na biodh eagal ort: oir ciod a chunn-
aic thu? Agus thubhairt a' bhean ri
Saul, Chunnaic mi diathan a' teachd a
nios as an talamh.
14 Agus thubhairt e rithe, Ciod e
a chaoſlas? Agus thubhairt iſe, *Tha*
ſeann duine air teachd a nios, agus e
còmhdaichte le falluinn [b]. Agus
dh'aithnich Saul gu'm b'e Samuel a
bh' ann, agus chrom ſe e féin air aghaidh
dh'ionnſuidh na talmhainn, agus rinn
e ùmhlachd *dha*.
15 Agus thubhairt Samuel ri Saul,
C'ar ſon a chuir thu dragh orm, le m'
thoirt a nios? Agus fhreagair Saul,
Tha mi ann an teanntachd mhòir;
oir tha na Philiſtich a' cogadh a'm'
aghaidh, agus dhealaich Dia rium, a-
gus cha 'n'eil e toirt freagraidh dhomh
ni's mò, aon chuid le fàidhibh no le
aiſlingibh: uime ſin ghairm mi ortſa
gu fios a thoirt domh ciod a ni mi.
16 An ſin thubhairt Samuel, C'ar
ſon ma ta a tha thu a' fioſrachadh
dhiomſa, agus gu'n do dhealaich an
Tighearna riut, agus gu bheil e *nis*
air fàs na nàmhaid duit [c]?
17 Agus rinn an Tighearna dha,
mar a labhair e tromhamſa [d]; oir
reub an Tighearn an rioghachd as do
làimh, agus thug e i do d' choimhear-
ſnach, do Dhaibhidh.
18 Do bhrigh nach d'éiſd thu ri
guth an Tighearna, agus nach do
chuir

2

[a] *fàiſtineachd.* [b] *agus falluinn uime.* [c] *gu bheil e* nis *maille ri d' choimhearſnach.* [d] *le m' làimh-ſa.* Eabh.

chuir thu an gnìomh a chorruich
gharg an aghaidh Amaleic; uime ſin
rinn an Tighearn an ni ſo riut air an
la 'n diugh.
19 Agus bheir an Tighearna mar
an ceudna Israel maille riutſa thairis
do làimh nam Philiſteach: agus am
màireach *bithidh* tuſa agus do mhic
maille riumſa: bheir an Tighearna
mar an ceudna feachd Iſraeil thairis
do làimh nam Philiſteach.
20 An ſin air ball thuit Saul ſìnte
air an talamh, agus bha e fa cagal ro-
mhòr air ſon bhriathra Shamueil, a-
gus cha robh neart air bith ann; oir
cha d'ith e aran rè an latha, no rè na
h-oidhche ſin.
21 Agus thàinig a' bhean a dh'ionn-
ſuidh Shauil, agus chunnaic i gu'n
robh e fa uamhann mòr, agus thubh-
airt i ris, Feuch, thug do bhanoglach
géill [a] do d' ghuth, agus chuir mi
m'anam a'm' làimh, agus dh'éiſd mi
ri d' bhriathraibh a labhair thu rium.
22 A nis uime ſin, guidheam ort,
éiſd thuſa mar an ceudna ri guth do
bhanoglaich, agus cuiream greim arain
fa d' chomhair, agus ith *e*, agus
bithidh neart agad, an uair a dh'imich-
eas tu air do ſhlighe.
23 Ach dhiùlt eſan, agus thubhairt
e, Cha'n ith mi: ach choimh-éignich
a ſheirbhiſich agus mar an ceudna a'
bhean e, agus dh'éiſd e r'an guth: a-
gus dh'éirich e o'n talamh, agus
ſhuidh e air an leabaidh.
24 Agus bha aig a' mhnaoi laogh
biadhta ſan tigh, agus rinn i cabhag,
agus mharbh i e; agus ghabh i min
mhin [b], agus dh'fhuin ſi *i*, agus rinn
i aran neo-ghoirtichte dhith.
25 Agus chuir i *iad* fa chomhair
Shauil, agus fa chomhair a ſheirbhiſ-
eacha, agus dh'ith iad: an ſin
dh'éirich iad ſuas, agus dh'imich iad
air an oidhche ſin féin.

C A I B. XXIX.

A Nis chruinnich na Philiſtich am
feachd uile gu Aphec: agus
champaich na h-Iſraelich làimh ri
tobar, a th'ann an Ieſreel.
2 Agus chaidh tighearnan nam Phi-
liſteach air an aghaidh nan ceudaibh
agus nam miltibh: ach chaidh Daibh-
idh agus a dhaoine air an aghaidh
nan deireadh maille ri Achis.
3 An ſin thubhairt ceannardan nam
Philiſteach, Ciod *a tha* na h-Eabh-
ruidhich ſin *a deanamh an ſo?* Agus
thubhairt Achis ri ceannardaibh nam
Philiſteach, Nach e ſo Daibhidh ſeir-
bhiſeach Shuail righ Iſraeil, a bha
maille riumſa na laithean ſo, no na
bliadhnan ſo, agus cha d'fhuair mi cron
ſam bith ann o'n là anns an d'thàinig
e *a m' ionnſuidh* gus an la 'n diugh?
4 Agus bha fearg air ceannardaibh
nam Philiſteach ris, agus thubhairt
ceannardan nam Philiſteach ris, Thoir
air an fhear ſo pilltinn, a chum as
gu'n dthéid e ris d'a àit a dh'orduich
thu dha, agus na rachadh e ſìos maille
ruinne do'n chath, air eagal gu'm bi
e na nàmhaid againn ſa' chath: oir
cia leis a dheanadh e a réite r'a
mhaighſtir? nach ann le cinn nan
daoine ſin?
5 Nach e ſo Daibhidh, mu'n do
chan iad le chéile [c] ann an dannſaibh,
ag ràdh, Mharbh Saul a mhìltean, a-
gus Daibhidh a dheich mìltean?
6 An ſin ghairm Achis air Daibh-
idh, agus thubhairt e ris, Gu deimhin,
mar is beo an Tighearna, bha thu
dìreach, agus is taitneach a'm' ſhùil-
ibhſe do dhol a mach agus do theachd
a ſteach maille rium anns a' champ;
oir cha d'fhuair mi olc annad, o'n là
anns an d'thàinig thu a'm' ionnſuidh
gus an la 'n diugh: gidheadh, ann an
sùilibh nan tighearnan cha'n 'eil thu
taitneach.
7 A nis ma ta pill, agus imich ann
an ſìth, a chum as nach dean thu *ni a
ta* olc ann an sùilibh thighearnan nam
Philiſteach.
8 Agus thubhairt Daibhidh ri
Achis, Ach ciod a rinn mi, agus ciod
a fhuair thu ann do ſheirbhiſeach o'n
cheud là a bha mi maille riut gu ruig
an la 'n diugh, nach feud mi dol a
chogadh an aghaidh naimhdean mo
thighearn an righ?
9 Agus fhreagair Achis agus thubh-
airt e ri Daibhidh, Tha fios agam gu
bheil

[a] *dh'éiſd do bhanoglach ri.* Eabh.
[b] *plùr: flour.* Saſg.
[c] *fhreag-air iad a chéile.*

bheil thu maith; ann am ſhùilibh-ſa *tha thu* mar aingeal Dé; gidheadh, thubhairt tighearnan nam Philiſteach, Cha dthéid e ſuas maille ruinne do'n chath.

10 A nis ma ta éirich gu moch ſa' mhaduinn maille ri ſeirbhiſich do mhaighſtir, a thàinig maille riut; agus co luath ſa dh'éireas ſibh ſa' mhaduinn, agus a bhios ſolus agaibh, imichibh.

11 Uime ſin rinn Daibhidh agus a dhaoine moch-eirigh chum gu'm falbhadh iad anns a' mhaduinn, *agus* gu'm pilleadh iad gu tìr nam Philiſteach; agus chaidh na Philiſtich ſuas gu Ieſreel.

CAIB. XXX.

AGUS an uair a bha Daibhidh agus a dhaoine air teachd gu Siclag air an treas là, bhris na h-Amalecich a ſtigh air an taobh deas, agus air Siclag; agus bhuail iad Siclag, agus loiſg iad e le teine.

2 Agus thug iad leo nam braighdibh na mnài a *bha* ann; cha do mharbh iad neach air bith, aon chuid beag no mòr, ach thug iad leo *iad*, agus dh'imich iad air an ſlighe.

3 Agus thàinig Daibhidh agus a dhaoine do'n bhaile, agus feuch, *bha e* loiſgte le teine; agus thugadh am mnài, agus am mic, agus an nigheana air falbh ann am braighdeanas.

4 An ſin thog Daibhidh agus an ſluagh a *bha* maille ris an guth, agus ghuil iad, gus nach *robh* neart annta gu gul ni b'fhaide.

5 Agus thugadh dà mhnaoi Dhaibhidh air falbh nam braighdibh, Ahinoam a' Bhan-ieſreeleach, agus Abigail bean Nabail a' Charmelich.

6 Agus bha Daibhidh ann an teanntachd mhòir; oir labhair an ſluagh mu a chlachadh, do bhrigh gu'n robh apam an t-ſluaigh uile air a chràdh, gach duine air ſon a chuid mac, agus air ſon a nigheana: ach ghabh Daibhidh miſneach dha féin anns an Tighearn a Dhia.

7 Agus thubhairt Daibhidh ri Abiatar an ſagart, mac Ahimeleich, Thoir a'm' ionnſuidh an ſo, guidheam ort, an ephod: agus thug Abiatar an ephod an ſin a dh'ionnſuidh Dhaibhidh.

8 Agus dh'fhioſraich Daibhidh do'n Tighearn, ag ràdh, An dthéid mi air tòir na buidhne ſo? am beir mi orra? Agus fhreagair eſan e, Falbh air an tòir; oir gu cinnteach beiridh tu orra, agus ſaoraidh tu an t-iomlan.

9 Agus dh'imich Daibhidh, e féin agus an sè ceud fear a *bha* maille ris, agus thàinig iad gu ruig an ſruth Beſor, far an d'fhan iadſan a dh'fhàgadh nan déigh.

10 Agus chaidh Daibhidh air *an* tòir, e féin agus ceithir cheud fear: ach dh'fhan dà cheud fear nan déigh, a bha cho ſgìth as nach b'urrainn iad dol thar an t-ſruth Beſor.

11 Agus fhuair iad Eiphiteach anns a' mhachair, agus thug iad e dh'ionnſuidh Dhaibhidh, agus thug iad dha aran, agus dh'ith e; agus thug iad air uiſge òl.

12 Agus thug iad dha mìr do mheall[a] fhigean, agus dà bhagaide *do ſhion-dhearcaibh* tiormaichte; agus an uair a dh'ith e, thàinig a ſpiorad a ris d'a ionnſuidh: oir cha d'ith e aran, agus cha d'òl e uiſge rè thri laithean agus thri oidhchean.

13 Agus thubhairt Daibhidh ris, Co leis thu, agus cia as *a thàinig* thu? Agus thubhairt eſan, *Is* òganach Eiphiteach mi, ſeirbhiſeach do Amaleceach, agus dh'fhàg mo mhaighſtir mi, do bhrigh gu'n robh mi tinn o cheann trì laithean.

14 Bhris ſinn a ſteach air taobh deas nan Cereteach, agus air *a' chrìch a bhuinear* do Iudah, agus air taobh deas Chaleib, agus loiſg ſinn Siclag le teine.

15 Agus thubhairt Daibhidh ris, An dthoir thu sìos mi dh'ionnſuidh na buidhne ſin? Agus thubhairt eſan, Mionnaich dhomh air Dia, nach marbh thu mi, agus nach dthoir thu thairis mi do làimh mo mhaighſtir, agus bheir mi sìos thu dh'ionnſuidh na buidhne ſin. *Agus mhionnaich Daibhidh dha.*

16 Agus an uair a thug e sìos e, feuch,

[a] *bhreacaig.*

feuch, ſgaoileadh iad air aghaidh na
tìre uile, ag itheadh agus ag òl, agus
a' dannſadh, air ſon na creiche mòire
uile a thug iad leo a tìr nam Philiſ-
teach, agus a tìr Iudah.
17 Agus bhuail Daibhidh iad o
bhriſeadh na fàire gu ruig feaſgar an
la màireach[a]; agus cha deachaidh
duine dhiubh as, ach ceithir cheud
òganach a mharcaich air càmhalaibh,
agus a theich.
18 Agus ſhaor Daibhidh gach *ni* a
thug na h-Amalecich leo: agus ſhaor
Daibhidh a dhà mhnaoi.
19 Agus cha robh *ni* air bith a dhìth
orra[b], aon chuid beag no mòr, mic
no nigheana, no creach, no *ni* air bith
a thug iad leo: bhuin Daibhidh gach
ni air ais.
20 Agus ghabh Daibhidh an treud
uile, agus am buar: *agus* dh'imich
iad[c] roimh an ſpréidh ſo, agus thubh-
airt iad, *Is* i ſo creach Dhaibhidh.
21 Agus thàinig Daibhidh a
dh'ionnſuidh an dà cheud fear, a bha
cho ſgìth as nach b'urrainn iad
Daibhidh a leantuinn, agus air an
d'thug iad fantuinn aig an t-ſruth
Beſor: agus chaidh iad a mach an
coinneamh Dhaibhidh, agus an coinn-
eamh an t-ſluaigh a *bha* maille ris: a-
gus an uair a thàinig Daibhidh am
fagus do'n t-ſluagh, chuir e fàilt'
orra[d].
22 An ſin fhreagair na droch dhaoine
uile, agus *daoine* Bhelial, dhiubh-
ſan a chaidh maille ri Daibhidh, agus
thubhairt iad, Do bhrìgh nach deach-
aidh iad maille ruinne, cha dthoir
ſinn dhoibh *a' bheag* do'n chreich a
ſhaor ſinn, ach a mhàin do gach duine
a bhean, agus a chlann, a chum gu'n
dthoir iad leo *iad*, agus gu'n imich
iad.
23 An ſin thubhairt Daibhidh, Cha
dean ſibh mar ſin, mo bhràichre, ris
na thug an Tighearna dhuinn, a
ghléidh[e] ſinn, agus a thug a' bhuidh-
eann a thàinig 'nar n-aghaidh thairis
d'ar làimh.
24 Agus cò a dh'éiſdeas ribh ſa'
chùis ſo? ach mar chuibhrionn an ti
a théid sìos do'n chath, mar ſin
bithidh cuibhrionn an ti a dh'fhanas
maille ris an airneis: roinnidh iad air
an aon dòigh.
25 Agus bha e mar ſin o'n là ſin a
mach gu'n d'rinn e na lagh e agus
na riaghailt aig Iſrael gus an la 'n
diugh.
26 Agus an uair a thàinig Daibh-
idh gu Siclag, chuir e *cuid* do'n chreich
a dh'ionnſuidh ſheanairean Iudah,
eadhon a dh'ionnſuidh a chairdean, ag
ràdh, Feuch, tiodhlac[f] dhuibh do
chreich naimhdean an Tighearna:
27 Dhoibhſan a *bh*'ann am Betel,
agus dhoibhſan a *bh*'ann an Ramot
mu dheas, agus dhoibhſan a *bh*'ann
an Iater,
28 Agus dhoibhſan a *bh*'ann an
Aroer, agus dhoibhſan a *bh*'ann an
Siphmot, agus dhoibhſan a *bh*'ann an
Eſtemoa,
29 Agus dhoibhſan a *bh*'ann an Ra-
chal, agus dhoibhſan a *bh*'ann am bail-
tibh nan Ierahmeeleach, agus dhoibh-
ſan a *bh*'ann am bailtibh nan Ceneach,
30 Agus dhoibhſan a *bh*'ann an
Hormah, agus dhoibhſan a *bh*'ann an
Cor-aſan, agus dhoibhſan a *bh*'ann
an Atach,
31 Agus dhoibhſan a *bh*'ann an
Hebron, agus do na h-àitibh ſin uile
anns am bu ghnàth le Daibhidh agus
a dhaoine tathuich[g].

C A I B. XXXI.

ANIS chog na Philiſtich an agh-
aidh Iſraeil, agus theich fir Iſ-
raeil o fhianuis nam Philiſteach, agus
thuit iad sìos marbh ann an ſliabh
Ghilboa.
2 Agus lean na Philiſtich Saul a-
gus a mhic gu teann; agus bhuail[h]
na Philiſtich Ionatan, agus Abinadab,
agus Malchiſua, mic Shauil.
3 Agus dh'fhàs an cath cruaidh
an aghaidh Shauil, agus bhuail na fir-
bhogha air[k], agus lotadh gu mòr e
leis na fir-bhogha.
4 An ſin thubhairt Saul ri fear
iomchair

[a] *an la 'r na mhàireach.* [b] *cha d'ionndraineadh ni air bith leo.*
[c] *an treud uile agus am buar*, a *dh'iomain iad.* [d] *ghuidh e sìth dhoibh.* Eabh.
[e] *dhìon, dìdin.* [f] *tiodhlacadh; beannachadh*, Eabh. [g] *taothall.*
[h] *mharbh.* [k] *fhuair na fir-bhogha e.* Eabh.

iomchair 'arm, Rùiſg do chlaidheamh,
agus sàth tromham e, air eagal gu'n
dthig na *daoine* neo-thimchioll-ghearrta
ſin, agus gu'n sàth iad tromham, agus
gu'n dthoir iad maſladh dhomh [a]. Ach
cha b'àill le fear iomchair 'arm *ſin a
dheanamh*, oir bha eagal mòr air: uime
ſin ghabh Saul claidheamh, agus thuit
e air.
5 Agus an uair a chunnaic fear
iomchair 'arm gu'n robh Saul marbh,
thuit eſan mar an ceudna air a
chlaidheamh, agus fhuair e bàs maille
ris.
6 Mar ſin fhuair Saul bàs, agus a
thriuir mac, agus fear iomchair 'arm,
agus a dhaoine uile air an là ſin fèin
maille ri chéile.
7 Agus an uair a chunnaic fir Iſ-
raeil, a *bha* air taobh a' ghlinne, agus
iadſan a *bh'* air an taobh ſo do Iordan,
gu'n do theich fir Iſraeil, agus gu'n
robh Saul agus a mhic marbh, thréig
iad na bailtean, agus theich iad; agus
thàinig na Philiſtich, agus ghabh iad
còmhnuidh annta.
8 Agus air an la màireach, an uair
a thàinig na Philiſtich, a dh'fhaobh-
achadh nam marbh, fhuair iad Saul
agus a thriuir mac air tuiteam ann an
ſliabh Ghilboa.
9 Agus ghearr iad dheth a cheann,
agus rùiſg iad 'armachd dheth, agus
chuir iad *fios* gu tìr nam Philiſteach
m'an cuairt, g'a chur an céill ann an
tigh an diathan-bréige, agus am
meaſg an t-ſluaigh.
10 Agus chuir iad 'armachd ann an
tigh Aſtaroit: agus ſparr iad a chorp
ri balladh Bhetſain.
11 Agus an uair a chuala luchd-
àiteachaidh Iabeis-ghilead an ni ſin a
rinn na Philiſtich ri Saul,
12 Dh'éirich na daoine treun uile,
agus dh'imich iad rè na h-oidhche, a-
gus thug iad corp Shauil, agus cuirp
a chuid mac, o bhalladh Bhetſain, a-
gus thàinig iad gu Iabes, agus loiſg
iad an ſin iad.
13 Agus ghabh iad an cnaimhean,
agus dh'adhlaic ſiad *iad* fuidh chraoibh
ann an Iabes, agus throiſg iad ſeachd
laithean.

DARA

[a] *gu'n dean iad fanoid orm.*

DARA LEABHAR SHAMUEIL,

D'AN AINM AIR MHODH EILE,

DARA LEABHAR NAN RIGH.

CAIB. I.

ANIS an déigh bàis Shauil, phill Daibhidh o àr nan Amaleceach, agus dh'fhan Daibhidh ann an Siclag dà latha.

2 Agus air an treas là, feuch, thàinig duine as a' champ o Shaul, agus 'eudach reubta, agus ùir air a cheann: agus an uair a thàinig e dh'ionnsuidh Dhaibhidh, thuit e air an talamh, agus rinn e ùmhlachd.

3 Agus thubhairt Daibhidh ris, Cia as a tha thu air teachd? Agus thubhairt esan ris, A camp Israeil theich mi.

4 Agus thubhairt Daibhidh ris, Ciod a thachair? innis dhomh, guidheam ort. Agus fhreagair e, Theich an sluagh o'n chath, agus cuideachd tha mòran do'n t-sluagh air tuiteam agus marbh; agus mar an ceudna tha Saul agus a mhac Ionatan marbh.

5 Agus thubhairt Daibhidh ris an òganach a dh'innis dha, Cionnus a tha fios agad gu bheil Saul agus a mhac Ionatan marbh?

6 Agus thubhairt an t-òganach a dh'innis dha, Thachair dhomhsa bhi air sliabh Ghilboa, agus feuch, bha Saul a' leigeil a thaice r'a shleagh, agus feuch, lean na carbadan agus am marc-shluagh gu dian na dhéigh.

7 Agus an uair a dh'amhairc e na dhéigh, chunnaic e mise, agus ghairm e orm: agus fhreagair mi, *Tha* mi 'n so.

8 Agus thubhairt e rium, Cò thusa? Agus fhreagair mise e, *Is* Amaleceach mi.

9 Thubhairt e rium a rìs, Seas orm, guidheam ort, agus marbh mi; oir ghlac teanntachd mi, do bhrigh gu *bheil* mo bheatha fathast gu h-iomlan annam.

10 Agus sheas mi air, agus mharbh mi e, a chionn gu'n robh fios agam nach biodh e beo an déigh dha tuiteam; agus ghabh mi 'n crùn a *bha* air a cheann, agus an làmh-fhail a *bha* air a ghairdean, agus thug mi 'n so iad a dh'ionnsuidh mo thighearna.

11 An sin rug Daibhidh air 'eudach, agus reub se e, agus mar an ceudna na daoine uile a *bha* maille ris.

12 Agus rinn iad caoidh, agus ghuil iad, agus throisg iad gu feasgar, air son Shauil agus air son a mhic Ionatain, agus air son sluaigh an Tighearna, agus air son tighe Israeil, do bhrigh gu'n do thuit iad leis a' chlaidheamh.

13 Agus thubhairt Daibhidh ris an òganach a dh'innis dha, Cia as duitse? Agus fhreagair esan, *Is* mac coigrich Amalecich mi.

14 Agus thubhairt Daibhidh ris, Cionnus nach robh eagal ort do làmh

a ſhìneadh a mach a mharbhadh [a] aoin ungta an Tighearna?

15 Agus ghairm Daibhidh air aon do na h-òganaich, agus thubhairt e, Thig am fagus, agus leum air. Agus bhuail ſe e, agus ſhuair e bàs.

16 Agus thubhairt Daibhidh ris, *Biodh* t'fhuil air do cheann féin, oir thug do bheul fianuis a'd' aghaidh, ag ràdh, Mharbh mi aon ungta an Tighearna.

17 Agus rinn Daibhidh caoidh leis a' chumhadh [b] ſo os cionn Shauil, agus os cionn a mhic Ionatain;

18 (Agus dh'àithn e gu'n iunnſaicheadh *iad* do chloinn Iudah *tilgeadh le* bogha [c]: feuch, *tha e* ſgrìobhta ann an leabhar laſeir;)

19 O mhaiſe Iſraeil, air do lotadh air t'àitibh arda! cionnus a thuit na cumhachdaich?

20 Na h-innſibh *e* ann an Gat, na cuiribh an céill *e* ann an ſràidibh Aſceloin; air eagal gu'm bi nigheana nam Philiſteach aoibhneach, air eagal gu'n dean nigheana nan neo-thimchioll-ghearrta luathghaire.

21 A ſhléibhte Ghilboa, na *biodh* drùchd no uiſge oirbh; no *oirbhſe*, achanna thabhartaſa [d]: oir an ſin thilgeadh gu tàireil air falbh ſgiath nan cumhachdach, ſgiath Shauil, *mar* nach *bitheadh e* ungta le h-oladh.

22 O fhuil nam marbh, o ſhaill nan cumhachdach, cha do thionndaidh bogha Ionatain air ais; agus cha do phill claidheamh Shauil gu faoin [e].

23 *Bha* Saul agus Ionatan gràdhach agus taitneach nam beatha, agus nam bàs cha do ſgaradh iad: bu luaithe iad na iolairean, bu treiſe iad na leòmhain.

24 A nigheana Iſraeil, guilibh air ſon Shauil, a dh'eudaich ſibh ann an ſcarlaid le aoibhneas [f], a chuir òir-ghreus air bhur n-eudach.

25 Cionnus a thuit na cumhachdaich am meadhon a' chatha! O a Ionatain, air t'àitibh arda mharbhadh *thu!*

26 *Tha* cràdh orm air do ſhon, mo bhràthair a Ionatain: ro-thaitneach bha thu dhomhſa: b'iongantach do ghràdh dhomhſa, a' toirt barrachd air gràdh nam ban.

27 Cionnus a thuit na cumhachdaich, agus a chaidh as do airm a' chogaidh?

CAIB. II.

AGUS na dhéigh ſo dh'fhioſraich Daibhidh do'n Tighearn, ag ràdh, An dthéid mi ſuas gu aon do bhailtibh Iudah? Agus thubhairt an Tighearna ris, Falbh ſuas. Agus thubhairt Daibhidh, C'àit a théid mi ſuas? Agus thubhairt eſan, Gu Hebron.

2 Agus chaidh Daibhidh ſuas an ſin, agus mar an ceudna a dhà mhnaoi, Ahinoam a' Bhan-ieſreeleach, agus Abigail bean Nabail a' Charmelich.

3 Agus a dhaoine a *bha* maille ris thug Daibhidh ſuas leis, gach fear le 'theaghlach; agus ghabh iad còmhnuidh ann am bailtibh Hebroin.

4 Agus thàinig daoine Iudah, agus dh'ung iad an ſin Daibhidh na righ os cionn tighe Iudah: agus dh'innis iad do Dhaibhidh, ag ràdh, *B' iad* daoine Iabeis-ghilead a dh'adhlaic Saul.

5 Agus chuir Daibhidh teachdairean a dh'ionnſuidh dhaoine Iabeis-ghilead, agus thubhairt e riu, Beannaichte *gu* robh ſibh o'n Tighearna, a thaobh gu'n do nochd ſibh an caoimhneas ſo do'r tighearna, do Shaul, agus gu'n d'adhlaic ſibh e.

6 Agus a nis gu nochdadh an Tighearna caoimhneas dhuibhſe, agus firinn: agus diolaidh miſe mar an ceudna am maitheas ſo dhuibh, do bhrìgh gu'n d'rinn ſibh an ni ſo.

7 A nis uime ſin biodh bhur làmhan air an neartachadh, agus bithibh gaiſgeal; oir tha bhur tighearna Saul marbh, agus mar an ceudna dh'ung tigh Iudah miſe a'm' righ os an cionn.

8 Ach ghabh Abner mac Ner, ceannard

[a] *a mhilleadh, a ſgrios.* [b] *tuireadh.* [c] *gu'n teagaiſgeadh* iad do *chloinn Iudah* an cumhadh ſo d'an ainm *am bogha.* [d] *achanna tarbhach.* [e] *falamh.* [f] *maille ri nithibh taitneach.*

ceannard armailte Shauil, Iſboſet mac Shauil, agus thug e thairis e gu Mahanaim.

9 Agus rinn ſe e na righ air Gilead, agus air na h-Aſuraich, agus air Ieſreel, agus air Ephraim, agus air Beniamin, agus air Iſrael uile.

10 Dà fhichead bliadhna dh'aois *bha* Iſboſet mac Shauil an uair *a thòiſich* e air rìoghachadh os cionn Iſraeil, agus rìoghaich e dà bhliadhna: ach lean tigh Iudah Daibhidh.

11 Agus b'e àireamh nan laithean a bha Daibhidh na righ ann an Hebron air tigh Iudah, ſeachd bliadhna agus sè mioſa.

12 Agus chaidh Abner mac Ner, agus ſeirbhiſich Iſboſeit mhic Shauil, a mach o Mhahanaim gu Gibeon.

13 Agus chaidh Ioab mac Sheruiah, agus ſeirbhiſich Dhaibhidh a mach, agus choinnich iad a chéile aig lochan Ghibeoin: agus ſhuidh iad sìos, iad ſo air aon taobh do'n lochan, agus iad ſud air an taobh eile do'n lochan.

14 Agus thubhairt Abner ri Ioab, Eireadh na h-òganaich a nis, agus deanadh iad lù-chleas[a] 'nar fianuis. Agus thubhairt Ioab, Eireadh iad.

15 An ſin dh'éirich ſuas agus chaidh thairis dà fhear dheug an àireamh do Bheniamin a *bhuineadh* do Iſboſet mac Shauil, agus dà fhear dheug do ſheirbhiſich Dhaibhidh.

16 Agus rug gach fear dhiubh air ceann a chompanaich[b], agus *ſhàth e* a chlaidheamh ann an leth-taobh a chompanaich, agus thuit iad sìos cuideachd: uime ſin thugadh mar ainm air an àite ſin Helcat-haſurim, a *tha* ann an Gibeon.

17 Agus bha cath ro-chruaidh ann air an là ſin: agus bhuaileadh Abner agus fir Iſraeil fa chomhair ſheirbhiſeacha Dhaibhidh.

18 Agus bha tri mic Sheruiah an ſin, Ioab, agus Abiſai, agus Aſahel: agus *bha* Aſahel *co* luath d'a chois ri boc earba na machrach.

19 Agus chaidh Aſahel air tòir Abneir, agus cha do chlaon e na ſhiubhal a dh'ionnſuidh na laimhe deiſe no na laimhe clìthe, o *dhol* an déigh Abneir.

20 An ſin dh'amhairc Abner na dhéigh, agus thubhairt e, An tuſa Aſahel? Agus fhreagair eſan, *Is* mi

21 Agus thubhairt Abner ris, Tionndaidh a dh'ionnſuidh do laimhe deiſe no dh'ionnſuidh do laimhe clìthe, agus glac aon do na h-òganachaibh, agus gabh a d' ionnſuidh 'fhaobh[c]. Ach cha b'àill le Aſahel tionndadh o eſan a leantuinn.

22 Agus thubhairt Abner a rìs ri Aſahel, Tionndaidh o miſe a leantuinn: c'ar ſon a bhuailinn thu gu làr? cionnus an ſin a thogainn ſuas m'aghaidh ri Ioab do bhràthair?

23 Gidheadh dhiùlt eſan tionndadh: uime ſin bhuail Abner e le earr na ſleagha fuidh 'n chùigeadh *aiſne*, agus thàinig an t-ſleagh a mach air a chùlaobh; agus thuit e 'n ſin, agus fhuair e bàs ſan àite ſin féin: agus iadſan uile a thàinig a dh'ionnſuidh an àite anns an do thuit Aſahel sìos agus anns an d'fhuair e bàs, dh'fhan iad nan ſeaſamh.

24 Chaidh Ioab mar an ceudna agus Abiſai air tòir Abneir: agus luidh a' ghrian an uair a thàinig iad gu ſliabh Amah, a *tha* fa chomhair Ghiah, air ſlighe fàſaich Ghibeoin.

25 Agus chruinnich clann Bheniamin iad féin an ceann a chéile *gu dol* an déigh Abneir, agus bha iad nan aon bhuidhinn, agus ſheas iad air mullach cnoic.

26 An ſin ghlaodh Abner ri Ioab, agus thubhairt e, An ſgrios an claidheamh gu bràth? nach 'eil fios agad gu'm bi ſearbhas ann fa dheireadh? cia fad a bhitheas e ma ta mu'n abair thu ris an t-ſluagh pilltinn o leantuinn am bràithre?

27 Agus thubhairt Ioab, *Mar* is beo Dia, mur[d] bitheadh tu air labhairt, gu deimhin an ſin anns a' mhaduinn[e] rachadh an ſluagh ſuas, gach fear o leantuinn a bhràthair.

28 Uime ſin ſhéid Ioab trompaid, agus ſtad an ſluagh uile, agus cha

 deachaidh

[a] *cluicheadh iad.* [b] *choimh-ghleacair.* [c] *'éideadh, 'armachd.* [d] *nam.* [e] *o'n mhaduinn.* Eabh.

deachaidh iad ni's mò air tòir Iſraeil, agus cha do chog iad ni's mò.

29 Agus dh'imich Abner agus a dhaoine air feadh a' chòmhnaird rè na h-oidhche ſin, agus chaidh iad thar Iordan, agus chaidh iad troimh Bhitron uile, agus thàinig iad gu Mahanaim.

30 Agus phill Ioab o *dhol* an déigh Abneir, agus an uair a chruinnich e 'n ſluagh uile an ceann a cheile, dh'ionndraineadh do ſheirbhiſich Dhaibhidh naoi ſir dheug agus Aſahel:

31 Ach bhuail ſeirbhiſich Dhaibhidh do Bheniamin, agus do dhaoinibh Abneir, tri cheud agus tri fichead fear, *a* fhuair bàs.

32 Agus thog iad leo Aſahel, agus dh'adhlaic iad e ann an àit-adhlacaidh 'athar, a *bha* ann am Betlehem: agus dh'imich Ioab agus a dhaoine rè na h-oidhche, agus thàinig iad gu Hebron mu bhriſeadh na fàire.

CAIB. III.

A NIS bha cogadh fada eadar tigh Shauil agus tigh Dhaibhidh: ach *bha* Daibhidh a' ſir-dhol air aghaidh ann an neart, agus tigh Shauil a' ſir-dhol an laige.

2 Agus rugadh do Dhaibhidh mic ann an Hebron: agus b'e a cheudghin Amnon, ri Ahinoam a' Bhanieiſreeleach:

3 Agus a dhara *mac* Chiliab, ri Abigail bean Nabail a' Charmeilich: agus an treas *mac* Abſalom, mac Mhaacah, nighinn Thalmai, righ Gheſuir:

4 Agus an ceathramh *mac* Adoniah, mac Hagit: agus an cùigeadh *mac* Sephatiah, mac Abitail:

5 Agus an ſeathadh *mac* Itream, ri Eglah bean Dhaibhidh: Rugadh iad ſin do Dhaibhidh ann an Hebron.

6 A nis an uair a bha cogadh eadar tigh Shauil agus tigh Dhaibhidh, rinn Abner e féin làidir ann an tigh Shauil.

7 Agus *bha* coimh-leabach aig Saul, d'am *b'*ainm Riſpah, nighean Ahiah: agus thubhairt Iſboſet ri Abner, C'ar ſon a chaidh thu ſtigh a dh'ionnſuidh coimh-leabaich m'athar?

8 An ſin bha fearg mhòr air Abner air ſon bhriathran Iſboſeit, agus thubhairt e, An ceann coin miſe, a *bhuineas* do Iudah? tha mi a' nochdadh caoimhneis an diugh[a] do thigh Shauil t'athar, d'a bhràithribh, agus d'a chairdibh, agus cha d'thug mi thairis thuſa do làimh Dhaibhidh; gidheadh tha thuſa a' cur coire as mo leth an diugh a thaobh na mnà ſo?

9 Mar ſin gu'n deanadh Dia ri Abner, agus tuille mar an ceudna, mar a mhionnaich an Tighearna do Dhaibhidh, mur dean miſe eadhon mar ſin ris ſan,

10 An rioghachd atharrachadh o thigh Shauil, agus righchathair Dhaibhidh, a chur ſuas os cionn Iſraeil, agus os cionn Iudah, o Dhan eadhon gu Beerſeba.

11 Agus cha b'urrainn e Abner a fhreagairt aon fhocal a ris, a chionn gu'n robh eagal air roimhe.

12 Agus chuir Abner teachdairean a dh'ionnſuidh Dhaibhidh na àite fein[b], ag ràdh, Cia leis an tìr? ag ràdh *mar an ceudna*, Dean do choimhcheangal riumſa, agus feuch, *bithidh* mo làmh leat, gu Iſrael uile a thionndadh a t' ionnſuidh.

13 Agus thubhairt eſan, *Ro*-mhaith, ni miſe coimhcheangal riut: ach aon ni *tha* mi ag iarraidh ort, eadhon, Nach faic thu mo ghnuis, mur d'thoir thu leat air tùs Michal nighean Shauil, an uair a thig thu g'am fhaicinn.

14 Agus chuir Daibhidh teachdairean gu Iſboſet mac Shauil, ag ràdh, Tabhair *dhomh* mo bhean Michal, a cheangail mi rium féin am pòſadh air ſon ceud roimh-chroicionn do na Philiſtich.

15 Agus chuir Iſboſet *fios oirre*, agus thug e o a fear i, *eadhon* o Phaltiel mac Lais.

16 Agus dh'imich a fear maille rithe, a' gul na déigh gu Bahurim: an ſin thubhairt Abner ris, Falbh, pill. Agus phill e.

17 Agus rinn Abner còmhradh ri ſeanairibh Iſraeil, ag ràdh, Anns an aimſir roimhe ſo dh'iarr ſibh Daibhidh *a bhi* na righ os bhur cionn.

18 A

[a] *a nochdas caoimhneas an diugh an aghaidh Iudah.* [b] *as a leth féin, air ball.*

18 A nis ma ta deanaibh *e*; oir labhair an Tighearna riu Dhaibhidh, ag ràdh, Le làimh mo ſheirbhiſich Dhaibhidh ſaoraidh mi mo ſhluagh Iſrael a làimh nam Philiſteach, agus a làimh an naimhdean uile.

19 Agus labhair Abner mar an ceudna ann an cluaſaibh Bheniamin: agus chaidh Abner mar an ceudna a labhairt ann an cluaſaibh Dhaibhidh ann an Hebron, gach ni a *bha* taitneach ann an sùilibh Iſraeil, agus ann an sùilibh tighe Bheniamin uile.

20 Agus thàinig Abner a dh'ionnſuidh Dhaibhidh gu Hebron, agus fichead fear maille ris: agus rinn Daibhidh cuirm do Abner agus do na daoinibh a *bha* maille ris.

21 Agus thubhairt Abner ri Daibhidh, Eiridh mi, agus falbhaidh mi, agus cruinnichidh mi Iſrael uile dh' ionnſuidh mo thighearn an righ, a chum as gu'n dean iad coimhcheangal riut, agus gu'n rioghaich thu os cionn gach ni a's miann le t'anam: agus chuir Daibhidh Abner air falbh, agus dh'imich e ann an sìth.

22 Agus feuch, thàinig feirbhiſich Dhaibhidh agus Ioab o *ruagadh* buidhne, agus thug iad creach mhòr leo: (ach cha *robh* Abner maille ri Daibhidh ann an Hebron, oir chuir e air falbh e, agus dh'imich e ann an sìth.)

23 Agus an uair a thàinig Ioab agus an armailt uile a *bha* maille ris, dh'innis iad do Ioab, ag ràdh, Thàinig Abner mac Ner a dh'ionnſuidh an righ, agus chuir e air falbh e, agus dh'imich e ann an sìth.

24 An ſin thàinig Ioab a dh'ionnſuidh an righ, agus thubhairt e, Ciod e a rinn thu? feuch, thàinig Abner a t'ionnſuidh; c'arſon ſo a chuir thu air falbh e, agus gun amharus dh'imich e?

25 Is aithne dhuit Abner mac Ner, gur ann gu d' mhealladh a thàinig e, agus gu fios fhaghail air do dhol a mach agus do theachd a ſteach, agus gu fios fhaghail air gach *ni* a *tha* thu a' deanamh.

26 Agus an uair a thàinig Ioab a mach o Dhaibhidh, chuir e teachdairean an déigh Abneir, a thug air ais e o thobar Shirah; ach cha robh fios aig Daibhidh air.

27 Agus an uair a phill Abner gu Hebron, thug Ioab e a leth-taobh anns a' ghearadh a labhairt ris ann an sìth [a], agus bhuail e 'n ſin e fuidh 'n chùigeadh *aiſne*, agus fhuair e bàs air ſon fola a bhràthar Aſahel.

28 Agus na dhéigh ſin an uair a chuala Daibhidh *e*, thubhairt e, *Tha* miſe agus mo rìoghachd neo-chiontach an làthair an Tighearna gu bràth o fhuil Abneir mhic Ner.

29 Fanadh i air ceann Ioaib, agus air tigh 'athar uile, agus na bitheadh a dhìth air tigh Ioaib neach air am bi ſilteach, no *bhios* na lobhar, no d'am éigin ſiubhal le batadh, no thuiteas air claidheamh, no air am bi easbhuidh arain.

30 Mar ſin mharbh Ioab agus a bràthair Abiſai Abner, a chionn gu'n do chuir eſan gu bàs am bràthair Aſahel aig Gibeon anns a' chath.

31 Agus thubhairt Daibhidh ri Ioab, agus ris an t-ſluagh uile a *bha* maille ris, Reubaibh bhur n-eudach, agus cuiribh ſaic-eudach umaibh, agus deanaibh caoidh roimh Abner. Agus lean righ Daibhidh *féin* an giùlan.

32 Agus dh' adhlaic iad Abner ann an Hebron: agus thog an righ ſuas a ghuth, agus ghuil e aig uaigh Abneir; agus ghuil an ſluagh uile.

33 Agus rinn an righ caoidh os cionn Abneir, agus thubhairt e, An ann mar a bhàſaicheas amadan [b], a bhàſaich Abner?

34 Cha do cheangladh do làmhan, agus cha do chuireadh do choſan ann an geimhlibh: mar a thuiteas duine roimh dhaoine aingidh, *mar ſin* thuit thuſa. Agus ghuil an ſluagh uile a rìs os a chionn.

35 Agus an uair a thàinig an ſluagh uile a thoirt air Daibhidh biadh itheadh, am feadh 'ſa b'e 'n là fathaſt a bh'ann, mhionnaich Daibhidh, ag ràdh, Mar ſin gu deanadh Dia riumſa, agus tuille mar an ceudna, ma bhlaiſeas mi aran no ni air bith eile, gus an dtéid a' ghrian ſuidhe.

[a] *gu h-uaignidheach.* [b] *duine aingidh.*

36 Agus thug an ſluagh uile fa'near *e*, agus bha e taitneach nan sùilibh; mar a bha gach *ni* a rinn an righ taitneach ann an sùilibh an t-ſluaigh uile:

37 Oir thuig an ſluagh uile agus Iſrael uile air an là ſin, nach ann o'n righ a bha e Abner mac Ner a chur gu bàs.

38 Agus thubhairt an righ r'a ſheirbhiſich, Nach 'eil fhios agaibh gu'n do thuit uachdaran agus *duine* mòr an diugh ann an Iſrael?

39 Agus tha miſe an diugh anmhunn[a], ge[b] *do-thami* ungta a'm' righ; agus tha na daoine ſin mic Sheruiah ro-chruaidh air mo ſhon: diolaidh an Tighearna do ſhear deanamh an uilc a rèir 'aingidheachd.

C A I B. IV.

AGUS an uair a chuala mac Shauil gu'n d'fhuair Abner bàs ann an Hebron, dh'fhàs a làmhan fann, agus bha Iſrael uile fa bhuaireas.

2 Agus bha aig mac Shauil dithis fhear *a bha* nan ceannardaibh air buidhnibh: *b'e* ainm aoin diubh Baanah, agus ainm *an fhir* eile Rechab, mic Rimoin a' Bheerotaich, do chloinn Bheniamin: (oir mheaſadh Beerot mar an ceudna do Bheniamin:

3 Agus theich na Beerotaich gu Gitaim, agus tha iad nan luchd-cuairt an ſin gu ruig an la 'n diugh.)

4 Agus bha aig Ionatan mac Shauil mac *a bha* bacach[c], *agus* a bha cùig bliadhna dh'aois an uair a thàinig an ſgeul mu Shaul agus Ionatan a Iefreel; agus thog a bhanaltrum leatha e, agus theich i: agus an uair a rinn i cabhag gu teicheadh, thuit eſan, agus rinneadh bacach e; agus *b'e* 'ainm Mephiboſet.

5 Agus dh'imich mic Rimoin a' Bheerotaich, Rechab agus Baanah, agus thàinig iad mu theas an là gu tigh Iſboſeit, a bha na luidhe air leabaidh mu mheadhon-là.

6 Agus feuch, thàinig iad air an aghaidh gu meadhon an tighe *mar gu'm biodh iad* gu cruithneachd a thoirt leo, agus bhuail iad e fuidh 'n chùigeadh *aiſne*: agus chaidh Rechab agus a bhràthair Baanah as:

7 Oir an uair a thàinig iad a ſteach do'n tigh, bha eſan na luidhe air a leabaidh na ſheòmar-codail, agus bhuail iad e, agus mharbh iad e, agus chuir iad an ceann deth, agus thug iad leo a cheann, agus dh'imich iad rompa air ſlighe an fhàſaich[d], rè na h-oidhche.

8 Agus thug iad ceann Iſboſeit a dh'ionnſuidh Dhaibhidh gu Hebron, agus thubhairt iad ris an righ, Feuch, ceann Iſboſeit mhic Shauil do nàmhaid, a dh'iarr t'anam: agus thug an Tighearna do m' thighearn an righ dioghaltas air an la 'n diugh air Saul agus air a ſhliochd.

9 Agus fhreagair Daibhidh Rechab agus Baanah a bhràthair, mic Rimoin a' Bheerotaich, agus thubhairt e riu, *Mar* is beo an Tighearn, a ſhaor m'anam as gach uile airc;

10 An uair a dh'innis neach dhomh, ag ràdh, Feuch, tha Saul marbh (agus e a' meas gu'n robh e toirt deagh ſgeoil leis) rug mi air, agus mharbh mi e ann an Siclag, an uair *a ſhaoil e* gu'n dtugainn luigheachd dha air ſon a ſgeoil:

11 Nach mo gu mòr, an uair a mharbh daoine aingidh duine ionraic na thigh féin air a leabaidh? agus a nis nach iarr mi 'fhuil-ſan air bhur làimh-ſa, agus nach dthoir mi bhàrr na talmhainn ſibh?

12 Agus dh'àithn Daibhidh d'a òganaich, agus mharbh ſiad iad, agus ghearr iad dhiubh an làmhan agus an coſan, agus chroch iad ſuas *iad* os cionn an tobair ann an Hebron: ach ghabh iad ceann Iſboſeit, agus dh'adhlaic iad e ann an àit-adhlacaidh Abneir ann an Hebron.

C A I B. V.

AN SIN thàinig uile threubhan Iſraeil a dh'ionnſuidh Dhaibhidh gu Hebron, agus labhair iad, ag ràdh, Feuch, *is* ſinne do chnàimh agus t'fheoil.

2 Mar an ceudna roimhe ſo, 'nuair a bha Saul na righ os ar cionn, bu tuſa an ti a threòraich a mach agus a thug a ſteach Iſrael: agus thubhairt

an

[a] *maoth.* Eabh. *a' chòmhnaird* [b] *agus.* Eabh. [c] *ciurramach na chòſaibh.* Eabh.

an Tighearna riut, Beathaichidh tu mo ſhluagh Iſrael, agus bithidh tu a'd' cheannard air Iſrael.

3 Agus thàinig uile ſheanairean Iſraeil a dh'ionnſuidh an righ gu Hebron, agus rinn righ Daibhidh coimhcheangal riu ann an Hebron am fianuis an Tighearna: agus dh'ung iad Daibhidh na righ air Iſrael.

4 *Bha* Daibhidh deich bliadhna fichead a dh'aois an uair *a thòiſich* e air rioghachadh; agus rioghaich e dà fhichead bliadhna.

5 Ann an Hebron rioghaich e os cionn Iudah ſeachd bliadhna agus sè mioſan: agus ann an Ieruſalem rioghaich e tri bliadhna deug thar fhichead os cionn Iſraeil uile agus Iudah.

6 Agus dh'imich an righ agus a dhaoine gu h-Ieruſalem, a dh'ionnſuidh nan Iebuſach, luchd-àiteachaidh na tire; a labhair ri Daibhidh, ag ràdh, Cha dthig thu a ſteach an ſo, mur dthoir thu air falbh na doill agus na bacaich, ag ràdh, Cha dthig Daibhidh a ſteach an ſo.

7 Gidheadh, ghlac Daibhidh daingneach Shioin: *is* e ſin baile Dhaibhidh.

8 Agus thubhairt Daibhidh air an là ſin, Ge b'e neach a ruigeas a' chlaisuiſge[a], agus a bhuaileas na Iebuſaich, agus na bacaich, agus na doill, aig am bheil fuath air anam Dhaibhidh, *bithidh eſan na cheannard*: uime ſin thubhairt iad, Cha dthig an dall agus am bacach a ſteach do'n tigh.

9 Agus ghabh Daibhidh comhnuidh ann an daingneach, agus dh'ainmich ſe e, Baile Dhaibhidh; agus thog Daibhidh *aitreabh* mu'n cuairt, o Mhilo agus air an taobh a ſtigh.

10 Agus chaidh Daibhidh air aghaidh, a' fàs mòr; agus *bha* 'n Tighearna Dia nan ſluagh maille ris.

11 Agus chuir Hiram righ Thiruis teachdairean a dh'ionnſuidh Dhaibhidh, agus ſiodh ſeudair, agus ſaoir, agus clachairean: agus thog iad tigh do Dhaibhidh.

12 Agus thuig Daibhidh gu'n do dhainguich an Tighearn e na righ air Iſrael, agus gu'n d'ardaich e a rioghachd air ſon a ſhluaigh Iſraeil.

13 Agus ghabh Daibhidh *dha féin* tuille choimh-leabach agus bhan a h-Ieruſalem, an déigh dha teachd a Hebron: agus rugadh fathaſt mic agus nigheana do Dhaibhidh.

14 Agus *is* iad ſo an ainmean-ſan, a rugadh dha ann an Ieruſalem; Samuah, agus Sobab, agus Natan, agus Solamh,

15 Agus Ibhar, agus Eliſua, agus Nepheg, agus Iaphia,

16 Agus Eliſama, agus Eliada, agus Eliphalet.

17 Ach an uair a chuala na Philiſtich gu'n d'ung iad Daibhidh na righ air Iſrael, thàinig na Philiſtich uile nios a dh'iarraidh Dhaibhidh; agus chuala Daibhidh *ſin*, agus chaidh e ſios do'n daingneach.

18 Agus thàinig na Philiſtich, agus ſgaoil ſiad iad féin ann an gleann Rephaim.

19 Agus dh'fhiofraich Daibhidh do'n Tighearn, ag ràdh, An dthéid mi ſuas a dh'ionnſuidh nam Philiſteach? an dthoir thu thairis iad a m' làimh? Agus thubhairt an Tighearna ri Daibhidh, Gabh ſuas; oir gu cinnteach bheir mi thairis na Philiſtich a d' làimh.

20 Agus thàinig Daibhidh gu Baal-peraſim, agus bhuail Daibhidh iad an ſin, agus thubhairt e, Bhris an Tighearn o chéile mo naimhdean a'm' fhianuis, mar bhriſeadh uiſgeacha. Uime ſin thug e Baal-peraſim mar ainm air an àite ſin.

21 Agus dh'fhàg iad an ſin an dealbhan[b], agus loiſg[c] Daibhidh agus a dhaoine iad.

22 Agus thàinig na Philiſtich a a nios a' ris, agus ſgaoil ſiad iad féin ann an gleann Rephaim.

23 Agus an uair a dh'fhiofraich Daibhidh do'n Tighearna, thubhairt e, Cha dthéid thu ſuas; ach gabh m'an cuairt air an cùlaobh, agus thig orra fa chomhair chraobh nan ſmeur[d].

24 Agus an uair a chluinneas tu fuaim ſiubhail ann am mullach[e] chraobh

[a] *am feadan-uiſge.* [b] *an iodholan.* [c] *ghabh.* [d] *chraobh nam peur; bacoin.* Eabh. [e] *ann an toiſeach.*

chraobh nan ſmeur, an ſin gluaiſidh
tu thu féin; oir an ſin théid an Tigh-
earna mach romhad, a bhualadh
feachd nam Philiſteach.
25 Agus rinn Daibhidh mar ſin,
mar a dh'àithn an Tighearna dha;
agus bhuail e na Philiſtich o Gheba,
gus an dthig thu gu Gaſer.

CAIB. VI.

AGUS chruinnich Daibhidh fathaſt
an ceann a chéile *fir* thaghta
Iſraeil uile, deich mìle fichead.
2 Agus dh'éirich Daibhidh, agus
chaidh e, agus an ſluagh uile a *bha*
maille ris, o Bhaal Iudah, a thabhairt
ſuas a ſin àirc Dhé, air an gairmear
ainm Thighearna nan ſluagh, a ghabh-
as còmhnuidh *eadar* na Che-
ruban.
3 Agus chuir iad àirc Dhé air
feun[a] nomha, agus thug iad i a tigh
Abinadaib a *bha* ann an Gibeah: a-
gus dh'iomain Uſah agus Ahio, mic
Abinadaib, am feun nomha maille ri
àirc Dhé.
4 Agus dh'imich Ahio roimh 'n
àirc.
5 Agus chluich Daibhidh agus
tigh Iſraeil uile am fianuis an Tigh-
earn air gach *inneal-ciuil do* fhiodh
giumhais, eadhon air clàrſaichibh, a-
gus air ſaltairibh, agus air nabalaibh[b],
agus air tiompanaibh, agus air
ciombalaibh.
6 Agus an uair a thàinig iad gu
urlar-bualaidh Nachoin, chuir Uſa a
mach *a làmh* a dh'ionnſuidh àirc
Dhé, agus ghabh e greim dhith; oir
chuir na daimh air chrith i.
7 Agus las corruich an Tighearn
an aghaidh Uſa, agus bhuail Dia an
ſin e air ſon *a* dhànadais[c]; agus
fhuair e bàs an ſin làimh ri àirc Dhé.
8 Agus bha doilgheas air Daibh-
idh[d], do bhrigh gu'n d'rinn an Tigh-
earna briſeadh air Uſa: agus dh'ainm-
ich e an t-àite ſin Peres-uſah gu
ruig an la 'n diugh?
9 Agus bha eagal air Daibhidh
roimh 'n Tighearn air an là ſin, agus
thubhairt e, Cionnus a thig àirc an
Tighearn a m' ionnſuidh-ſa?
10 Agus cha b'àill le Daibhidh
àirc an Tighearn a thionndadh d'a
ionnſuidh féin gu baile Dhaibhidh:
ach thug Daibhidh a leth-taobh i gu
tigh Obed-edoim a' Ghitich.
11 Agus dh'fhan àirc an Tighearn
ann an tigh Obed-edoim a' Ghitich
tri mìoſan: agus bheannaich an
Tighearn Obed-edom, agus a thigh
uile.
12 Agus dh'innſeadh do righ Dai-
bhidh, ag ràdh, Bheannaich an Tigh-
earna tigh Obed-edoim, agus gach ni
a *bhuineas* da, air ſon àirc Dhé. Uime
ſin dh'fhalbh Daibhidh, agus thug e
nios àirc Dhé a tigh Obed-edoim gu
baile Dhaibhidh, le gairdeachas.
13 Agus an uair a dh'imich iadſan
a ghiùlain àirc an Tighearna ſe
ceuman, dh'iobair e tairbh agus
beathaichean reamhra.
14 Agus dhanns Daibhidh le 'uile
neart am fianuis an Tighearna, agus
bha Daibhidh crioſlaichte le ephod
lìn-eudaich.
15 Agus thug Daibhidh agus uile
thigh Iſraeil a nios àirc an Tighear-
na le h-iolaich, agus le fuaim tromp-
aide.
16 Agus an uair a bha àirc an
Tighearn a teachd a ſteach gu baile
Dhaibhidh, dh'amhairc Michal
nighean Shauil tre uinneig, agus
chunnaic i righ Daibhidh a' leumnaich
agus a' dannſadh am fianuis an Tigh-
earna, agus rinn i tàir air na cridhe.
17 Agus thug iad a ſteach àirc an
Tighearna, agus chuir iad ſuas i na
h-àit ann am meadhon a' phàilliuin,
a ſhuidhich Daibhidh air a ſon: agus
thug Daibhidh ſuas ìobairtean-loiſgte
am fianuis an Tighearna, agus
ìobairtean-sìth.
18 Agus an uair a chuir Daibhidh
crìoch air iobairtean-loiſgte a thoirt
ſuas, agus iobairtean-sith, bheannaich
e an ſluagh ann an ainm Thighearna
nan ſluagh.
19 Agus roinn e air an t-ſluagh
uile, *eadhon* air uile choimhchruinn-
eachadh Iſraeil, eadar fheara agus
mhnài, do gach neach breacag arain,
agus mìr maith *feòla*, agus copan[e]
fiona:

[a] *cairt, carbad.* [b] *nebalim.* Eabh. *timbrels.* Saſg. [c] *a chionn gu'n do chuir e mach a làmh.* [d] *bha Daibhidh diombach.* [e] *ſoitheach.*

ſona: agus dh'fhalbh an ſluagh uile,
gach neach d'a thigh féin.

20 Agus phill Daibhidh a bheann-
achadh a theaghlaich: agus thàinig
Michal nighean Shauil a mach an
coinneamh Dhaibhidh, agus thubhairt
i, Cia urramach [a] a bha righ Iſraeil
an diugh, a rùiſg e féin an diugh ann
an sùilibh bhanoglach a ſheirbhiſeach,
mar a rùiſgeas aon do na daoinibh
eutrom e féin [b]!

21 Agus thubhairt Daibhidh ri
Michal, *Is ann a bha e* am fianuis an
Tighearna, a thagh miſe roimh
t'athair, agus roimh a thigh uile,
chum m'orduchadh a'm' cheannard
air ſluagh an Tighearna, air Iſrael:
uime ſin chluich miſe [c] am fianuis an
Tighearna.

22 Agus bithidh mi fathaſt ni's
tàireile na ſo, agus bithidh mi ìoſal
a'm' ſhùilibh féin; agus aig na ban-
oglaich mu'n do labhair thu, aca-ſan
gheibh mi urram.

23 Agus cha robh duine-cloinne
aig Michal nighean Shauil gu là a
bhàis.

CAIB. VII.

AGUS an uair a ſhuidh an righ
na thigh, agus a thug an
Tighearna ſois dha o a naimhdibh
uile m'an cuairt,

2 Thubhairt an righ ri Natan am
fàidh, Feuch a nis, tha miſe a'm'
chòmhnuidh ann an tigh ſeudair, ach
tha àirc Dhé na còmhnuidh an taobh
a ſtigh do chùirteinibh.

3 Agus thubhairt Natan ris an
righ, Falbh, dean gach ni a ta ann
ad chridhe; oir *tha'n* Tighearna
maille riut.

4 Agus air an oidhche ſin féin
thàinig focal an Tighearna gu Natan,
ag ràdh,

5 Falbh agus innis do m' òglach
Daibhidh, Mar ſo tha'n Tighearn ag
ràdh, An tog thuſa tigh dhomhſa, a
chum gu'n gabhainn còmhnuidh ann?

6 Oir cha do ghabh miſe còmh-
nuidh ann an tigh o'n là anns an
d'thug mi nìos clann Iſraeil as an
Eiphit eadhon gus an la'n diugh, ach
bha mi ag imeachd ann am bùth agus
ann am pàilliun.

7 Anns gach *àit* d'an d'imich mi
maille ri cloinn Iſraeil uile, an do
labhair mi focal ri h-aon air bith do
bhreitheamhnaibh [d] Iſraeil, d'an
d'àithn mi mo ſhluagh Iſrael a
bheathachadh, ag ràdh, C'ar ſon
nach tog ſibh dhomhſa tigh ſeudair?

8 A nis uime ſin mar ſo their thu
ri m' ſheirbhiſeach Daibhidh, Mar
ſo tha Tighearna nan ſluagh ag ràdh,
Thug miſe thu o mhainnir nan caorach,
o bhi leantuinn nan caorach, gu bhi
ad' cheannard air mo ſhluagh, air Iſrael.

9 Agus bha mi maille riut anns
gach *àite* d'an deachaidh tu, agus
ghearr mi as do naimhdean uile o
t'fhianuis, agus rinn mi dhuit ainm
mòr, mar ainm nan *daoine* mòra a *tha*
air an talamh.

10 (Agus orduichidh [e] mi àit air
ſon mo ſhluaigh Iſraeil, agus ſuidh-
ichidh mi iad, agus gabhaidh iad
còmhnuidh nan àite féin, agus cha
ghluaiſear iad ni's mò: agus cha
sàraich clann na h-aingidheachd iad
tuille mar air tùs [f],

11 Agus o'n àm anns an d'àithn mi
breitheamhna bhi os cionn mo
ſhluaigh Iſraeil: agus bheir mi dhuit
ſois o d' naimhdibh gu léir.) Mar
an ceudna tha'n Tighearn ag innſeadh
dhuit, gu'n dean an Tighearna tigh
dhuit.

12 Agus an uair a choimhlionar do
làithean, agus a choidileas tu maille
ri t'aithrichibh, togaidh mi ſuas do
ſhliochd a'd' dhéigh, a thig a mach a
t'innibh; agus daingnichidh mi a
rioghachd.

13 Togaidh eſan tigh do m'ainmſa,
agus daingnichidh miſe righ-chathair
a rioghachd gu bràth.

14 Bithidh mi a'm' athair aige-ſan,
agus bithidh eſan na mhac agamſa:
ma ni e aingidheachd, ſmachdaichidh
mi e le ſlait dhaoine, agus le buillibh
chloinn nan daoine:

15 Ach cha 'n imich mo thròcair
air falbh uaith, mar a thug mi air
falbh *i* o Shaul, a chuir mi air falbh
o t'fhianuis-ſa.

16 Agus

[a] *glòrmhor.* [b] *'e féin gu beag-narach.* [c] *rinn mi aoibhneas.*
[d] *threubhaibh.* [e] *dh' orduich.* [f] *mar* a rinn iad *roimhe.*

16 Agus *bithidh* do thigh seasmhach, agus do rioghachd gu brath a'm' fhianuis-sa [a]: bithidh do righ-chathair daingean gu bràth.

17 A réir nam briathra so uile, agus a réir an taisbeanaidh [b] so uile, mar sin labhair Natan ri Daibhidh.

18 An sin chaidh righ Daibhidh a stigh, agus shuidh e am fianuis an Tighearna, agus thubhairt e, Cò mise, O Thighearna Dhé, agus ciod e mo thigh, gu'n d'thug thu mi gu ruige so?

19 Agus bu bheag an ni so fathast a'd' shùilibh-sa, a Thighearna Dhé; ach labhair thu mar an ceudna thaobh tighe do sheirbhisich rè aimsir fhada ri teachd: agus an e so gnàth duine, a Thighearna Dhé?

20 Agus ciod tuilleadh a dh'fheudas Daibhidh a ràdh riut? oir is aithne dhuit do sheirbhiseach, a Thighearna Dhé.

21 Air son t'fhocail, agus a réir do chridhe féin, rinn thu na nithe mòra so uile, a thoirt air do sheirbhiseach eòlas a ghabhail *orra*.

22 Uime sin a ta thu mòr, a Thighearna Dhé: oir cha '*n'eil* neach ann cosmhuil riut, agus cha 'n'eil Dia ann ach thusa, a réir gach *ni* a chuala sinn le'r cluasaibh.

23 Agus cia an cinneach air thalamh cosmhuil ri d' shluaghsa, cosmhuil ri h-Israel, a chaidh Dia a shaoradh mar shluagh dha féin, agus a dheanamh ainme dha féin, agus a dheanamh air an [c] son nithe mòra, agus uamhasach, air son do thìre, am fianuis do shluaigh a shaor thu dhuit féin as an Eiphit, *o* na cinneachaibh agus *o*'n déibh?

24 Oir dhaingnich thu dhuit féin do shluagh Israel *gu bhi* nan sluagh dhuit gu bràth; agus tha thusa, a Thighearna, a'd' Dhia aca.

25 Agus a nis, a Thighearna Dhé, am focal a labhair thu a thaobh do sheirbhisich, agus a thaobh a thighe, dean seasmhach *e* gu bràth; agus dean mar a thubhairt thu.

26 Agus ardaichear [d] t'ainm gu bràth, ag ràdh, *Is* e Tighearna nan sluagh a's Dia os cionn Israeil: agus bitheadh tigh do sheirbhisich Dhaibhidh daingean a'd' fhianuis:

27 Oir dh'fhoillsich thusa, a Thighearna nan sluagh, a Dhé Israeil, do d' sheirbhiseach, ag ràdh, Togaidh mi tigh dhuit: uime sin fhuair do sheirbhiseach *na* chridhe an urnuigh so a dheanamh riut.

28 Agus a nis, a Thighearna Dhé, *is* tu féin Dia [e], agus is iad do bhriathran an fhìrinn; agus gheall thu am maitheas so do d' sheirbhiseach.

29 A nis uime sin gu ma toil leat tigh do sheirbhisich a bheannachadh, a chum gu mair e gu bràth a'd' fhianuis: oir labhair thusa *e*, a Thighearna Dhé, agus le d' bheannachadh beannaichear tigh do sheirbhisich gu bràth.

CAIB. VIII.

AGUS an déigh so bhuail Daibhidh na Philistich, agus cheannsaich [f] e iad: agus ghlac Daibhidh Meteg-amah [g] a làimh nam *Philisteach*.

2 Agus bhuail e na Moabaich, agus thomhais e iad le cord [h], 'gan tilgeadh sìos gu làr: eadhon le dà chord thomhais e a thabhairt bàis, agus le aon chord iomlan a ghleidheadh beo. Agus bha na Moabaich nan seirbhisich aig Daibhidh, *agus* thug iad tiodhlaca leo.

3 Bhuail Daibhidh mar an ceudna Hadadefer mac Rehoib, righ Shobah, 'nuair a chaidh e a chosnadh a chriche air a h-ais [k] aig abhuinn Euphrateis.

4 Agus thug Daibhidh uaith mìle *carbad*, agus seachd ceud [l] marcach, agus fichead mìle coisiche: agus ghearr Daibhidh speireacha *each* nan carbad uile, ach dh'fhàg e dhiubh *diol* cheud carbad.

5 Agus an uair a thàinig Sirianaich Dhamascuis a chuideachadh le Hadadefer righ Shobah, bhuail Daibhidh do na Sirianaich dà mhìle thar fhichead fear.

[a] *a't' fhianuis*. [b] *an t-seallaidh, an fhoillseachaidh*. [c] *bhur*. [d] *mòraichear, deanar mòr*. Eabh. [e] Is *tusa an Dia sin*. [f] *dh'islich*. [g] *Gat agus a bhailte beaga*. [h] *snàithne-tomhais*. [k] *a shuidheachadh a làimhe*. Eabh. [l] *mìle*.

6 An sin chuir Daibhidh freiceadain
ann an Siria Dhamascuis: agus bha na
Sirianaich nan seirbhisich aig Daibh-
idh, *agus* thug iad leo tiodhlacan: a-
gus ghléidh an Tighearna Daibhidh
gach taobh a chaidh e.
7 Agus ghabh Daibhidh na
sgiathan[a] òir a bh'aig seirbhisich
Hadadeseir, agus thug e iad gu h-Ieru-
salem.
8 Agus o Bhetah, agus o Bherotai,
bailtibh Hadadeseir, thug rìgh Daibh-
idh ro-mhòran umha.
9 An uair a chuala Toi righ
Hamait gu'n do bhuail Daibhidh
sluagh Hadadeseir uile,
10 An sin chuir Toi a mhac Ioram
gu righ Daibhidh, a chur fàilte air,
agus g'a bheannachadh, a chionn gu'n
do chog e ri Hadadeser agus gu'n do
bhuail se e, (oir bha cogadh aig Ha-
dadeser ri Toi[b]:) agus na làimh bha
soithichean airgid, agus soithichean
òir, agus soithichean umha.
11 Iad sin mar an ceudna choisrig[c]
righ Daibhidh do'n Tighearna, maille
ris an airgiod agus ris an òr a choisrig
e o na h-uile chinneachaibh a cheann-
saich e;
12 O Shiria, agus o Mhoab, agus
o chloinn Amoin, agus o na Philis-
tich, agus o Amalec, agus o chreich
Hadadeseir, mhic Rehoib, righ Sho-
bah.
13 Agus fhuair[d] Daibhidh ainm
dha féin, an uair a phill e o bhualadh
nan Edomach[e] ann an gleann an
t-salainn, ochd mìle deug *fear*.
14 Agus chuir e freiceadain ann an
Edom: air feadh Edoim uile chuir e
freiceadain; agus bha na h-Edomaich
uile nan seirbhisich aig Daibhidh: a-
gus ghléidh an Tighearna Daibhidh
gach taobh a chaidh e.
15 Agus rìoghaich Daibhidh air
Israel uile, agus rinn Daibhidh breith-
eamhnas agus ceartas d'a shluagh uile.
16 Agus *bha* Ioab mac Sheruiah os
cionn na h-armailte; agus *bha* Ieho-
saphat mac Ahiluid na sheanachaidh[f];
17 Agus *bha* Sadoc mac Ahituib,
agus Ahimelech mac Abiatair nan
sagartaibh, agus Seraiah na sgrìobh-
uiche;
18 Agus *bha* Benaiah mac Iehoiada
os cionn nan Cereteach agus nam
Peleteach; agus bha mic Dhaibhidh
nan ard uachdaranaibh.

CAIB. IX.

AGUS thubhairt Daibhidh, Am
bheil fathast neach air bith a
dh'fhàgadh do thigh Shauil, a chum
gu nochd mi dha caoimhneas air son
Ionatain?
2 Agus *bha* aig tigh Shauil seirbhis-
each, d'am *b*'ainm Siba: agus an
uair a ghairm iad e chum Dhaibhidh,
thubhairt an rìgh ris, An tusa Siba?
Agus thubhairt esan, *Is e* do sheirbhis-
each *a th'ann*.
3 Agus thubhairt an righ, Nach
'eil fathast neach air bith do thigh
Shauil, a chum gu nochd mi dha
caoimhneas Dhé? Agus thubhairt
Siba ris an righ, *Tha* fathast mac aig
Ionatan, *a tha* bacach[g].
4 Agus thubhairt an righ ris, C'àit
am bheil e? Agus thubhairt Siba ris
an righ, Feuch, *tha* e ann an tigh
Mhachir, mhic Amieil, ann an Lode-
bar.
5 Agus chuir righ Daibhidh *fios
air*, agus thug se e a tigh Mhachir,
mhic Amieil, o Lodebar.
6 A nis an uair a thàinig Mephi-
boset[h], mac Ionatain, mhic Shauil,
a dh'ionnsuidh Dhaibhidh, thuit e
air aghaidh, agus rinn e ùmhlachd.
Agus thubhairt Daibhidh, A Mhephi-
boset. Agus threagair esan, Feuch,
do sheirbhiseach.
7 Agus thubhairt Daibhidh ris,
Na biodh eagal ort; oir gu cinnteach
nochdaidh mise dhuit caoimhneas air
son t'athar Ionatain, agus aisigidh mi
dhuit uile fhearann t'athar Shauil, a-
gus ithidh tu aran aig mo bhòrd-sa
an còmhnuidh.
8 Agus chrom se e féin, agus
thubhairt e, Cò e do sheirbhiseach,
gu'n amhairceadh tusa air cù marbh,
cosmhuil riumsa?
9 An sin ghairm an righ air Siba
òglach

[a] *targaidean.* [b] *b'fhear cogaidh Hadadeser an aghaidh Thoi.* Eabh. [c] *naomhaich.* [d] *rinn.* Eabh. [e] *nan Sirianach.* [f] *eachdraiche* [g] *ciurramach na chosaibh.* Eabh. [h] *Merib-baal.*

òglach Shauil, agus thubhairt e ris,
Gach ni a bhuineadh do Shaul, agus
d'a thigh uile, thug mi do mhac do
mhaighstir.
10 Agus treabhaidh tusa am fear-
ann air a shon, thu féin, agus do mhic,
agus do sheirbhisich, agus bheir thu
a stigh *an toradh*, a chum gu'm bi
biadh aig mac do mhaighstir a dh'ith-
eas e: ach ithidh Mephiboset mac do
mhaighstir aran an còmhnuidh aig
mo bhòrd-sa. A nis bha aig Siba
cùig mic dheug agus fichead seirbhis-
each.
11 An sin thubhairt Siba ris an
righ, A réir gach ni a dh'àithn mo
thighearn an righ d'a sheirbhiseach,
mar sin ni do sheirbhiseach: a thaobh
Mhephiboset, ithidh esan aig a [a]
bhòrd-san, mar aon do mhic an righ.
12 Agus *bha* aig Mephiboset mac
òg, d'am *b*'ainm Micha: agus *bha* iad-
san uile a ghabh còmhnuidh ann an
tigh Shiba nan seirbhisich do Mhe-
phiboset.
13 Agus chòmhnuich Mephiboset
ann an Ierusalem, oir dh'ith e an
còmhnuidh aig bòrd an righ: agus
bha e bacach air a dhà chois.

CAIB. X.

AGUS na dhéigh so fhuair righ
chloinn Amoin bàs, agus rìogh-
aich a mhac Hanun na àit.
2 An sin thubhairt Daibhidh,
Nochdaidh mi caoimhneas do Hanun
mac Nahais, mar a nochd 'athair-san
caoimhneas dhomhsa. Agus chuir
Daibhidh uaith a sheirbhisich, a thoirt
sòlais da air son 'athar. Agus thàinig
seirbhisich Dhaibhidh a steach do thìr
chloinn Amoin.
3 Agus thubhairt ceannardan
chloinn Amoin ri Hanun an tighear-
na, An saoil thu gur ann a chum
urram a thabhairt do t'athair, a chuir
Daibhidh a't' ionnsuidh luchd-sòlais?
nach ann a rannsachadh a' bhaile, a-
gus a ghabhail beachd air, agus g'a
sgrios, a chuir Daibhidh a sheirbhis-
ich a't' ionnsuidh?
4 Uime sin ghlac Hanun seirbhis-
ich Dhaibhidh, agus bhearr e *dhiubh*
leth am feusaig, agus ghearr e an
eudach sa' mheadhon, gu ruig am
màsan; agus chuir e air falbh iad.
5 Agus an uair a dh'innseadh sin do
Dhaibhidh, chuir e *daoine* nan coinn-
eamh, a chionn gu'n robh nàire mhòr
air na daoinibh: agus thubhairt an
righ, Fanaibh ann an Iericho gus am
fàs bhur feusag, agus *an sin* pillibh.
6 Agus an uair a chunnaic clann
Amoin gu'n robh iad gràineil [b] am
fianuis Dhaibhidh, chuir clann Amoin
teachdairean uatha, agus thuarasdalaich
iad Sirianaich Bhet-rehoib, agus Si-
rianaich Shoba, fichead mìle coisiche [c],
agus o righ Mhaacah mìle fear, agus
o Istob dà mhìle dheug fear.
7 Agus an uair a chuala Daibhidh
sin, chuir e mach Ioab, agus uile
shluagh nan daoine treuna.
8 Agus thàinig clann Amoin a
mach, agus chuir iad an cath an
ordugh aig dol a stigh a' gheata [d]: a-
gus *bha* Sirianaich Shoba, agus Rehoib,
agus Istoib, agus Maacah, leo féin
anns a' mhachair.
9 Agus an uair a chunnaic Ioab
gu'n robh aghaidh a' chatha ris air a
bheulaobh agus air a chùlaobh, thagh
e mach *cuid* do uile *dhaoinibh* taghta
Israeil, agus chuir e ann an ordugh
catha *iad* an aghaidh nan Sirianach.
10 Agus a' chuid eile do'n t-sluagh
thug e thairis do làimh a bhràthar
Abisai, a chum gu'n cuireadh e an
ordugh *iad* an aghaidh chloinn Amoin.
11 Agus thubhairt e, Ma bhios
na Sirianaich ni's treise na mise, an sin
ni thusa còmhnadh riumsa: ach ma
bhios clann Amoin ni's treise na thusa,
an sin thig mise a dheanamh còmh-
naidh riutsa.
12 Bi misneachail, agus biomaid
gaisgeil air son ar sluaigh, agus air
son bhailtean ar Dé: agus deanadh
an Tighearn an *ni a ta* maith na
shùilibh.
13 Agus thàinig Ioab am fagus, a-
gus an sluagh a *bha* maille ris, gu
cath an aghaidh nan Sirianach: agus
theich iad roimhe.
14 Agus an uair a chunnaic clann
Amoin gu'n do theich na Sirianaich,
an sin theich iadsan mar an ceudna
roimh Abisai, agus chaidh iad a
steach

[a] *mo.* [b] *breun.* [c] *fear-coise.* [d] *geata Mhedeba.*

ſteach do'n bhaile: agus phill Ioab o chloinn Amoin, agus thàinig e gu h-Ierusalem.

15 Agus an uair a chunnaic na Sirianaich gu'n do bhuaileadh iad roimh Iſrael, chruinnich ſiad iad féin an ceann a chéile.

16 Agus chuir Hadadeſer [a] *fios uaith*, agus thug e mach na Sirianaich a *bh*'air an taobh thall do'n abhuinn, agus thàinig iad gu Helam; agus *chaidh* Sobach ceannard armailte Hadareſeir rompa.

17 Agus an uair a dh'innſeadh ſin do Dhaibhidh, chruinnich e Iſrael uile an ceann a chéile, agus chaidh e thar Iordan, agus thàinig e gu Helam; agus chuir na Sirianaich iad féin an ordugh catha an aghaidh Dhaibhidh, agus chog iad ris.

18 Agus theich na Sirianaich roimh Iſrael, agus mharbh Daibhidh do na Sirianaich *fir* ſheachd ceud carbad, agus dà fhichead mìle marcach; agus bhuail e Sobach ceannard an armailte, a fhuair bàs an ſin.

19 Agus an uair a chunnaic na righrean uile, *a bha* nan ſeirbhiſich aig Hadadeſer, gu'n do bhuaileadh iad roimh Iſrael, rinn iad sìth ri h-Iſrael, agus rinn iad ſeirbhis dhoibh. Agus bha eagal air na Sirianaich còmhnadh a dheanamh tuille ri cloinn Amoin.

C A I B. XI.

AGUS aig teachd mu'n cuairt [b] na bliadhna, mu'n àm anns an dthéid righrean a mach *gu cath*, chuir Daibhidh uaith Ioab, agus a ſheirbhiſich maille ris, agus Iſrael uile, agus ſgrios iad clann Amoin, agus theannaich iad [c] Rabah: ach dh'fhan Daibhidh ann an Ierusalem.

2 Agus thachair e mu fheaſgar, gu'n d'éirich Daibhidh bhàrr a leapach, agus gu'n robh e a' ſpaiſdearachd air mullach tighe an righ: agus o'n mhullach chunnaic e bean 'ga nigheadh féin, agus *bha* a' bhean ro-mhaiſeach ri ſealltuinn oirre.

3 Agus chuir Daibhidh *fios*, agus dh'fheoraich e mu thimchioll na mnà: agus thubhairt *neach*, Nach i ſo Batſeba nighean Eliam, bean Uriah an Hitich?

4 Agus chuir Daibhidh uaith teachdairean, agus ghabh e i; agus thàinig i ſtigh d'a ionnſuidh, agus luidh e leatha, (oir bha i air a glanadh o a neo-ghloine;) agus phill i d'a tigh féin.

5 Agus dh'fhàs a' bhean torrach, agus chuir i *fios* uaithe [d], agus dh'innis i do Dhaibhidh, agus thubhairt i, *Tha* mi torrach.

6 Agus chuir Daibhidh *fios* uaith gu Ioab, *ag ràdh*, Cuir a m' ionnſuidh Uriah an Hiteach. Agus chuir Ioab Uriah a dh'ionnſuidh Dhaibhidh.

7 Agus an uair a thàinig Uriah d'a ionnſuidh, dh'fheòraich Daibhidh *dheth* cionnus a bha Ioab, agus cionnus a bha 'n ſluagh, agus cionnus a chaidh an cogadh air aghaidh.

8 Agus thubhairt Daibhidh ri Uriah, Imich sìos do d' thigh, agus nigh do choſan. Agus chaidh Uriah a mach a tigh an righ, agus chuireadh na dhéigh lòn *béidh* o'n righ.

9 Ach luidh [e] Uriah aig dorus tigh an righ, maille ri uile ſheirbhiſeachaibh a thighearna, agus cha deachaidh e sìos d'a thigh.

10 Agus an uair a dh'innis iad do Dhaibhidh, ag ràdh, Cha deachaidh Uriah sìos d'a thigh, thubhairt Daibhidh ri Uriah, Nach ann o d' thurus a thàinig thu? c'ar ſon *ma ta* nach deachaidh tu sìos do d' thigh?

11 Agus thubhairt Uriah ri Daibhidh, *Tha*'n àirc, agus Iſrael, agus Iudah a' fantuinn am pàilliunaibh, agus *tha* mo thighearna Ioab, agus ſeirbhiſich mo thighearna air campachadh air aghaidh na macharach; an dthéid mise ma ta a ſtigh do m' thigh, a dh'itheadh, agus a dh'òl, agus a luidhe le m' mhnaoi? *mar* is beo thuſa, agus *mar* is beo t'anam, cha dean mi an ni ſo.

12 Agus thubhairt Daibhidh ri Uriah, Fan an ſo mar an ceudna an diugh, agus am màireach leigidh mi leat imeachd. Agus dh'fhan Uriah ann an Ierusalem an là ſin, agus an là màireach.

 13 Agus

[a] *Hadareſer.* [b] *ath-philleadh.* [c] *chòg iad an aghaidh.* [d] *uaithe.*
[e] *a boidil.*

13 Agus ghairm Daibhidh air, agus dh'ith agus dh'ól e na fhiannuis, agus chuir e air mhisg e: ach chaidh e mach mu fheasgar a luidhe na leabaidh maille ri seirbhisich a thighearna, agus d'a thigh féin cha deachaidh e sìos.

14 Agus anns a' mhaduinn sgrìobh Daibhidh litir a dh'ionnsuidh Ioaib, agus chuir e *i* le làimh Uriah.

15 Agus sgrìobh e anns an litir, ag ràdh, Cuiribh Uriah mu choinneamh a' chatha a's déine, agus pillibh féin o 'chùlaobh, a chum gu'm buailear e, agus gu'm faigh e bàs.

16 Agus an uair a ghabh Ioab beachd air a' bhaile, dh'orduich e Uriah a dh'ionnsuidh àite anns an robh fios aige gu'*n robh* daoine gaisgeil.

17 Agus chaidh fir a' bhaile a mach, agus chog iad ri Ioab; agus thuit *cuid* do'n t-sluagh, do sheirbhisich Dhaibhidh, agus fhuair Uriah an Hiteach bàs mar an ceudna.

18 An sin chuir Ioab *fios* uaith, agus dh'innis e do Dhaibhidh gach ni a thachair sa' chath [a]:

19 Agus dh'àithn e do'n teachdaire, ag ràdh, An uair a chuireas tu crìoch air gach ni a thachair sa' chath innseadh do'n righ,

20 Agus ma thachaireas gu'n éirich fearg an righ, agus gu'n abair e riut, C'ar son a chaidh sibh teann air a' bhaile a chathachadh? nach robh fios agaibh gu'n tilgeadh iad o'n bhalladh?

21 Cò a bhuail Abimelech mac Ierubeseit [b]? nach do thilg bean mìr do chloich-mhuilinn air o'n bhalladh, air chor as gu'n d'fhuair e bàs ann an Tebes? c'ar son a chaidh sibh teann air a' bhalladh? an sin their thusa, Tha do sheirbhiseach Uriah an Hiteach marbh mar an ceudna.

22 Agus dh'imich an teachdaire, agus thàinig agus dh'innis e do Dhaibhidh gach ni mu'n do chuir Ioab air falbh e.

23 Agus thubhairt an teachdaire ri Daibhidh, Gu deimhin bhuadhaich na daoine oirnn, agus thàinig iad a mach d'ar n-ionnsuidh sa' mhachair, agus chuir sinn an ruaig orra [c] eadhon gu dol a stigh a' gheataidh.

24 Agus thilg na fir-bhogha air do sheirbhisich o'n bhalladh, agus tha *cuid* do sheirbhisich an righ marbh, agus tha do sheirbhiseach Uriah an Hiteach marbh mar an ceudna.

25 An sin thubhairt Daibhidh ris an teachdaire, Mar so their thu ri Ioab, Na biodh an ni so olc a'd' shùilibh: oir cuiridh an claidheamh as do aon duine co maith as do dhuin' eile: dean do chath ni's treise an aghaidh a' bhaile, agus sgrios e; agus thoir misneach dha.

26 Agus an uair a chuala bean Uriah gu'n d'fhuair a fear Uriah bàs, rinn i caoidh air son a fir.

27 Agus an uair a bha 'm bròn thairis, chuir Daibhidh fios *oirre*, agus thug e i dh'ionnsuidh a thighe, agus bha i na mnaoi aige, agus rug i mac dha: ach bha an ni a rinn Daibhidh olc ann an sùilibh an Tighearna.

CAIB. XII.

AGUS chuir an Tighearna Natan a dh'ionnsuidh Dhaibhidh; agus an uair a thàinig e d'a ionnsuidh, thubhairt e ris, Bha dithis fhear ann an aon bhaile, fear dhiubh beartach, agus am fear eile bochd.

2 Aig an *duine* bheartach bha romhòran chaorach agus cruidh:

3 Ach aig an *duine* bhochd cha robh ni sam bith ach aon uan beag baininn, a cheannaich e, agus a bheathaich e: agus dh'fhàs e suas maille ris féin, agus maille r'a chloinn; dh'ith e d'a ghreim [d] féin, agus dh'òl e as a chopan féin, agus luidh e na uchd, agus bha e dha mar nighinn.

4 Agus thàinig fear-turuis [e] a dh'ionnsuidh an duine bheartaich, agus chaomhain e gabhail d'a chaoraich féin, agus d'a chrodh féin, a dheasachadh air son an fhir-turuis a thàinig d'a ionnsuidh, ach ghabh e uan an duine bhochd, agus dheasaich se e do'n fhear a thàinig d'a ionnsuidh.

5 Agus

[a] *uile bhriathra*, no *uile nithe a' chatha*. Eabh. [b] *Ierubaail.* [c] *chuir sinn nan aghaidh; bha sinn orra.* Eabh. [d] *aran, bhiadh.* [e] *aoidhe.*

5 Agus las fearg Dhaibhidh an aghaidh an duine gu mòr; agus thubhairt e ri Natan, *Mar* is beo an Tighearna, gu cinnteach cuirear gu bàs[a] am fear a rinn an *ni* so.

6 Agus dìolaidh e[b] 'n t-uan ceithir uairean[c], do bhrìgh gu'n d'rinn e an ni so, agus a chionn nach do chaomhain e[d].

7 Agus thubhairt Natan ri Daibhidh, *Is* tusa an duine. Mar so tha 'n Tighearna Dia Israeil ag ràdh, Dh'ung mise thu a'd' righ os cionn Israeil, agus shaor mi thu a làimh Shauil:

8 Agus thug mi dhuit tigh do mhaighstir, agus mnài do mhaighstir ann ad uchd, agus thug mi dhuit tigh Israeil agus Iudah; agus nam *bu* bheag *sin*, bheirinn dhuit cuideachd an leithide so agus an leithide sud do nithibh.

9 C'ar son a rinn thu tàir air àithne an Tighearna, le olc a dheanamh na fhianuis? Uriah an Hiteach bhuail thu leis a' chlaidheamh, agus a bhean ghabh thu na mnaoi dhuit féin, agus esan mharbh thu le claidheamh chloinn Amoin.

10 A nis uime sin cha dealaich an claidheamh ri d'thigh gu bràth, do bhrìgh gu'n d'rinn thu tàir orm, agus gu'n do ghabh thu bean Uriah an Hitich gu bi na mnaoi dhuit féin.

11 Mar so tha'n Tighearn ag ràdh, Feuch, togaidh mise suas olc ann ad aghaidh as do thigh féin, agus gabhaidh mi do mhnài fa chomhair do shùl, agus bheir mi *iad* do d' choimhearsnach, agus luidhidh e le d' mhnaibh ann an sealladh na gréine so:

12 Oir rinn thusa *e* gu dìomhair; ach ni mise an ni so am fianuis Israeil uile, agus am fianuis na gréine.

13 Agus thubhairt Daibhidh ri Natan, Pheacaich mi an aghaidh an Tighearna. Agus thubhairt Natan ri Daibhidh, Mar an ceudna chuir an Tighearn air falbh do pheacadh[e]; cha'n fhaigh thu bàs.

14 Gidheadh, a chionn leis a' ghnìomh so gu'n d'thug thu air naimhdibh an Tighearna mòr thàir a dheanamh air, gheibh mar an ceudna am mac a rugadh dhuit gu cinnteach bàs.

15 Agus dh'fhalbh Natan d'a thigh féin: agus bhuail an Tighearn an leanabh a rug bean Uriah do Dhaibhidh, agus bha e ro-thinn.

16 Uime sin ghuidh Daibhidh air Dia air son an leinibh, agus throisg Daibhidh, agus chaidh e stigh, agus luidh e rè na h-oidhche air an talamh.

17 Agus thàinig[f] seanairean a thighe d'a ionnsuidh, g'a thogail suas o'n talamh: ach cha b'àill leis, ni mò a dh'ith e aran maille riu.

18 Agus air an t-seachdamh là fhuair an leanabh bàs; agus bha eagal air seirbhisich Dhaibhidh innseadh dha gu'n robh an leanabh marbh: oir thubhairt iad, Feuch, an uair a bha 'n leanabh fathast beo, labhair sinn ris, agus cha'n éisdeadh e r'ar guth: cionnus ma ta, ma dh'innseas sinn dha gu bheil an leanabh marbh, a chràidheas se e féin[g]?

19 Ach an uair a chunnaic Daibhidh gu'n robh a sheirbhisich ri cogarsaich, thuig Daibhidh gu'n robh an leanabh marbh: uime sin thubhairt Daibhidh r'a sheirbhisich, Am bheil an leanabh marbh? Agus thubhairt iadsan, Tha e marbh.

20 An sin dh'éirich Daibhidh o'n talamh, agus dh'ionnail agus dh'ung se *e féin*, agus mhùth[h] e 'eudach, agus chaidh e steach do thigh an Tighearna, agus rinn e aoradh: an sin thàinig e d'a thigh féin, agus an uair a dh'iarr e, chuir iad aran fa chomhair, agus dh'ith e.

21 An sin thubhairt a sheirbisich ris, Ciod e an ni so a rinn thu? air son an leinibh, *an uair a bha e* beo, throisg thu agus ghuil thu; ach an uair a dh'eug an leanabh, dh'éirich thu agus dh'ith thu aran.

22 Agus thubhairt esan, An uair a bha'n

[a] *tha e toilltinn a' bh[illegible]; is mac do'n bhàs e.* Eabh. [b] *aisigidh e, bheir e air ais.* [c] *ceithir-fillte.* [d] *nach robh iochd aige.* [e] *thug an Tighearn air do pheacadh dol thairis.* Eabh. [f] *dh'éirich.* Eabh. [g] *a ni e olc.* Eabh. [h] *dh'atharraich.*

bha'n leanabh fathast beo, throisg mi
agus ghuil mi: oir thubhairt mi, Cò
aig am bheil fios nach gabh Dia truas
rium, agus nach mair an leanabh beo?

23 Ach a nis o fhuair e bàs, c'ar
son a throisginn? an urrainn mi a
thabhairt air ais tuilleadh? théid mise
d'a ionnsuidh-san, ach cha phill esan
a m' ionnsuidh-sa.

24 Agus thug Daibhidh sòlas d'a
mhnaoi Batseba, agus chaidh e steach
d'a h-ionnsuidh, agus luidh e leatha:
agus rug i mac, agus thug e Solamh
mar ainm air; agus ghràdhaich an
Tighearn e.

25 Agus chuir e *fios* le làimh an
fhàidh Natain, agus thug e Iedidiah
mar ainm air, air son an Tighearna.

26 Agus chog Ioab an aghaidh
Rabah chloinn Amoin, agus ghlac e
am baile rìoghail.

27 Agus chuir Ioab teachdairean a
dh'ionnsuidh Dhaibhidh, agus thubh-
airt e, Chog mi an aghaidh Rabah,
agus ghlac mi baile nan uisgeacha.

28 A nis uime sin cruinnich a'
chuid eile do'n t-sluagh, agus camp-
aich an aghaidh a' bhaile, agus glac
e, air eagal gu'n glac mise am baile, a-
gus gu'n dthoirear m'ainm féin air.

29 Agus chruinnich Daibhidh an
sluagh uile cuideachd, agus chaidh e
gu Rabah, agus chog e na aghaidh,
agus ghlac se e.

30 Agus thug e crùn an rìgh
bhàrr a chinn (agus b'e a chothrom [a]
talann òir, maille ris na clachaibh
luachmhor [b]) agus chuireadh e air
ceann Dhaibhidh: agus thug e mach
creach a' bhaile ann am mòr phailteas.

31 Agus thug e mach an sluagh a
bha ann, agus chuir e *iad* fuidh
shàbhan, agus fuidh innealan-bualaidh [c]
iaruinn, agus fuidh thuaghan iaruinn,
agus thug e orra dol tre àth nan
clacha-creadha; agus mar so rinn
e ri uile bhailtibh chloinn Amoin.
Agus phill Daibhidh agus an sluagh
uile gu h-Ierusalem.

CAIB. XIII.

AGUS thachair an déigh so, gu'n
robh aig Absalom mac Dhaibh-
idh piuthar mhaiseach, d'am *b*'ainm
Tamar; agus ghràdhaich Amnon mac
Dhaibhidh i.

2 Agus bha Amnon ann an airc co
mhòr, as gu'n d'fhàs e tinn air son a
pheathar Tamair; oir *b*'òigh i, agus
bha e cruaidh ann an sùilibh Amnoin
ni sam bith a dheanamh oirre.

3 Ach bha aig Amnon caraid,
d'am *b*'ainm Ionadab, mac Shimeah,
bràthar Dhaibhidh: agus *bha* Ionadab
na dhuine ro-sheòlta [d].

4 Agus thubhairt e ris, C'ar son *a*
ta thusa, agus gur mac do'n rìgh
thu, tana [e] mar so o là gu là? nach
innis thu dhomhsa? Agus thubhairt
Amnon ris, Tha gràdh agam air
Tamar, piuthar mo bhràthar Absa-
loim.

5 Agus thubhairt Ionadab ris,
Luidh sios air do leabaidh, agus leig
ort a bhi tinn; agus an uair a thig
t'athair g'ad fhaicinn, their thu ris,
Thigeadh, guidheam ort, mo phiuthar
Tamar, agus thugadh i biadh dhomh,
agus deasaicheadh i am biadh a'm'
fhianuis, a chum gu'm faic mi *e*, agus
gu'n ith mi as a làimh *e*.

6 Agus luidh Amnon sìos, agus
leig e air a bhi tinn; agus an uair a
thàinig an rìgh g'a fhaicinn, thubhairt
Amnon ris an rìgh, Thigeadh, guidh-
eam ort, mo phiuthar Tamar, agus
deanadh i dà bhreacaig a'm' fhianuis,
a chum gu'n ith mi as a làimh.

7 An sin chuir Daibhidh *fios* dhach-
aidh a dh'ionnsuidh Thamair, ag ràdh,
Imich a nis gu tigh do bhràthar
Amnoin, agus deasaich dha biadh.

8 Agus chaidh Tamar do thigh a
bràthar Amnoin, (agus *bha* esan na
luidhe) agus ghabh i min mhin, agus
thaoisinn [f] si *i*, agus rinn i breacagan
na fhianuis, agus bhruich i na breacag-
an.

9 Agus ghabh i aghann, agus
thaom i mach *iad* na fhianuis, ach
dhiùlt esan itheadh. Agus thubhairt
Amnon, Thugaibh a mach gach duine
uam, agus thug [g] iad a mach gach
duine uaith.

10 Agus thubhairt Amnon ri
Tamar, Thoir an biadh a steach do'n
t-seòmar,

[a] *a luach, 'fhiach.* [b] *prìseil.* [c] *chliathan.* [d] *ro-ghlic.*
[e] *a' dol as an t-sealladh.* [f] *dh'fhuin.* [g] *chaidh.*

t-seòmar, a chum gu'n ith mi as do
làimh. Agus ghabh Tamar na
breacagan a rinn i, agus thug i *iad*
do'n t-seòmar a dh'ionnsuidh a bràthar
Amnoin.
11 Agus an uair a thug i *iad* d'a
ionnsuidh chum *an* itheadh, rug e
oirre, agus thubhairt e rithe, Thig,
luidh leam, a phiuthar.
12 Agus fhreagar i e, Ni h-eadh,
a bhràthair, na h-éignich mi; oir cha
chòir a leithid so a bhi air a dheanamh
ann an Israel: na dean-sa an amaid-
eachd so.
13 Agus mise, c'àit an cuir mi air
falbh mo mhasladh? agus air do shon-
sa, bithidh tu mar aon do na h-amad-
anaibh[a] ann an Israel: a nis uime sin
labhair, guidheam ort, ris an righ;
oir cha chum e uait mi.
14 Gidheadh, cha'n éisdeadh esan
r'a guth; ach a chionn gu'm bu
làidire e na ise, dh'éignich e i, agus
luidh e leatha.
15 An sin dh'fhuathaich Amnon i
le fuath ro-mhòr, air chor as gu'*m bu*
mhò am fuath leis an d'fhuathaich e
i, na'n gràdh leis an do ghràdhaich e
i: agus thubhairt Amnon rithe,
Eirich, bi 'g imeachd.
16 Agus thubhairt ise ris, Na
bitheadh e mar sin, a bhràthair; oir *is*
mò an t-olc so 'nam chur air falbh,
na'n t-olc eile a rinn thu orm: ach
cha'n éisdeadh esan rithe.
17 An sin ghairm e air 'òglach a
a fhritheil dha, agus thubhairt e,
Cuir a nis *a' bhean* so a mach uam, a-
gus cuir an crann air an dorus na
deigh.
18 Agus *bha* truscan[b] iomadh-
dathach oirre; oir le leithid so do
dheise bha nigheanan an righ *a bha*
nan òighibh, air an sgeadachadh.
An sin thug a sheirbhiseach a mach i,
agus chrann e an dorus na déigh.
19 Agus chuir Tamar luath air a
ceann, agus reub i an truscan iomadh-
dathach a *bha* oirre, agus chuir i a
làmh air a ceann, agus chaidh i air
falbh a' glaodhaich.
20 Agus thubhairt a bràthair Ab-
salom rithe, An robh do bhràthair
Amnon maille riut? ach a nis, a
phiuthar, bi d' thosd; is e do bhràth-
air e; na cuireadh an ni so smuairean
ort[c]. Agus dh'fhan Tamar gu h-aon-
aranach[d] ann an tigh a bràthar Ab-
saloim.
21 Ach an uair a chuala righ
Daibhidh na nithe so uile, bha fearg
ro-mhòr air.
22 Agus cha do na labhair Absalom
ri Amnon aon chuid olc no maith;
oir dh'fhuathaich Absalom Amnon,
a chionn gu'n d'éignich e a phiuthar
Tamar.
23 Agus thachair an déigh dà
bhliadhna iomlan, gu'n robh aig Ab-
salom luchd-lomairt chaorach ann am
Baal-hasor, a *tha* làimh ri Ephraim:
agus thug Absalom cuireadh do mhic
an righ uile.
24 Agus thàinig Absalom a dh'ionn-
suidh an righ, agus thubhairt e, Feuch
a nis, tha luchd-lomairt chaorach aig
do sheirbhiseach; thigeadh, guidheam
ort, an righ agus a sheirbhisich
maille ri d' sheirbhiseach.
25 Agus thubhairt an righ ri Ab-
salom, Ni h-eadh, a mhic, na racham-
aid uile a nis, a chum nach bi sinn
trom ort[e]. Agus chuir e impidh
air: gidheadh cha b'àill leis imeachd,
ach bheannaich se e.
26 An sin thubhairt Absalom,
Mur *dthig thu féin,* thigeadh, guidh-
eam ort, mo bhràthair Amnon maille
ruinn. Agus thubhairt an righ, C'ar
son a rachadh e maille riut?
27 Ach chuir Absalom impidh air;
agus leig e le Amnon agus mic an
righ uile dol maille ris.
28 A nis dh'àithn Absalom d'a
òglachaibh, ag ràdh, Thugaibh sa'near
a nis an uair a bhios cridhe Amnoin
subhach le fion, agus an uair a their
mise ribh, Buailibh Amnon, an sin
marbhaibh e. Na biodh eagal oirbh:
nach d'àithn mise dhuibh? bithibh
misneachail, agus bithibh treun.
29 Agus rinn òglaich Absaloim ri
h-Amnon, mar a dh'àithn Absalom:
an sin dh'éirich mic an righ uile, agus
chaidh gach fear dhiubh air a mhuil-
eid, agus theich iad.

30 Agus

[a] *do na daoinibh aingidh.* [b] *còta.* [c] *na cuir do chridhe air an ni so.* Eabh. [d] *gu h-uaigneach, dubhach.* [e] *cosmhail dhuit.*

30 Agus an uair a bha iad air an t-slighe, thàinig sgeul a dh'ionnsuidh Dhaibhidh, ag ràdh, Bhuail Absalom mic an righ uile, agus cha d'fhàgadh aon diubh *beo*.

31 An sin dh'éirich an righ, agus reub e 'eudach, agus luidh e air an talamh; agus sheas a sheirbhisich uile làimh ris le 'n eudach reubta.

32 Agus fhreagair Ionadab mac Shimeah, brathar Dhaibhidh, agus thubhairt e, Na smuainicheadh [a] mo thighearna *gu*'n do mharbh iad na h-òganaich uile, mic an righ: oir tha Amnon a mhàin marbh, oir le Absalom [b] shuidhicheadh an ni so, o'n là anns an d'éignich e a phiuthar Tamar.

33 Agus a nis na gabhadh mo thighearn an righ an ni thuige d'a chridhe, a' smuaineachadh gu bheil mic an righ uile marbh; oir tha Amnon a mhàin marbh.

34 Ach theich Absalom, agus thog an t-òganach a bha gleidheadh na faire a shùilean, agus dh'amhairc e, agus feuch, bha mòran sluaigh a' teachd air an t-slighe air a chùlaobh o thaobh an t-sléibh.

35 Agus thubhairt Ionadab ris an righ, Feuch, tha mic an righ a' teachd: a réir focail do sheirbhisich, mar sin tha e.

36 Agus co luath as a sguir e do labhairt, feuch, thàinig mic an righ, agus thog iad suas an guth agus ghuil iad: agus ghuil mar an ceudna an righ, agus a sheirbhisich uile, le gul ro-mhòr.

37 Ach theich Absalom, agus chaidh e dh'ionnsuidh Thalmai, mhic Amihud, righ Ghesuir: agus chuala Daibhidh *sin*, agus rinn e caoidh air son a mhic gach aon là.

38 Mar sin theich Absalom, agus chaidh e do Ghesur, agus bha e 'n sin tri bliadhna.

39 Agus mhiannaich *anam* righ Dhaibhidh dol a mach a dh'ionnsuidh Absaloim [c]: oir fhuair e comhfhurtachd a thaobh bàis Amnoin.

CAIB. XIV.

AGUS thuig Ioab, mac Sheruiah, gu'n robh cridhe an righ air [d] Absalom.

2 Agus chuir Ioab *fios* gu Tecoah, agus thug e as sin bean ghlic, agus thubhairt e rithe, Leig ort a bhi ri bròn, guidheam ort, agus cuir ort a nis eudach bròin, agus na h-ung thu féin le h-oladh, ach bi mar mhnaoi a tha nis fada ri bròn air son mairbh:

3 Agus théid thu a dh'ionnsuidh an righ, agus labhraidh tu ris air an dòigh so. Agus chuir Ioab na focail na beul.

4 Agus thàinig a' bhean o Thecoah a dh'ionnsuidh an righ, agus thuit i air a h-aghaidh gu làr, agus rinn i ùmhlachd, agus thubhairt i, Cabhair *orm*, a righ.

5 Agus thubhairt an righ rithe, Ciod *a tha teachd* riut? Agus fhreagair ise, Gu deimhin *is* bantrach [e] mi; oir fhuair m'fhear bàs.

6 Agus *bha* aig do bhanoglaich dithis mhac, agus chuir iad a mach air a chéile san achadh, agus cha *robh* neach ann a chuireadh eatorra: agus bhuail fear dhiubh am fear eile, agus mharbh se e.

7 Agus feuch, dh'éirich an teaghlach uile an aghaidh do bhanoglaich, agus thubhairt iad, Thoir seachad esan a bhuail a bhràthair, a chum as gu marbh sinn e air son anma a bhràthar a mharbh e, agus gu'm marbh sinn an t-oighre mar an ceudna: agus *mar sin* mùchaidh iad m'eibhleag a dh'fhàgadh, air chor as nach fàg iad aig m'fhear *aon chuid* ainm, no iarmad air aghaidh na talmhainn.

8 Agus thubhairt an righ ris a' mhnaoi, Imich a dh'ionnsuidh do thighe, agus bheir mise àithne mu d' thimchioll.

9 Agus thubhairt a' bhean o Thecoah ris an righ, Ormsa, a thighearn, a righ, *bitheadh* am peacadh, agus air tigh m'athar; agus *bitheadh* an righ agus a righ-chathair neochiontach.

10 Agus

[a] *Na h-abradh.* Eabh. [b] *le béul Absaloim.* Eabh. [c] *sguir righ Daibhidh do dhol air tòir Absaloim.* [d] *an aghaidh.* [e] *baintreabhach.*

10 Agus thubhairt an righ, Ge b'e neach a their *ni sam bith* riut, thoir a'm' ionnsuidhs' e, agus cha bhean e riut ni's mò.

11 An sin thubhairt ise, Cuimhnicheadh, guidheam ort, an righ an Tighearna do Dhia, a chum as nach bi dioghaltairean na fola lionmhor gu sgrios, agus nach marbh iad mo mhac. Agus thubhairt esan, *Mar* is beo an Tighearna, cha tuit *aon ròinneag* [a] do fholt do mhic gu làr.

12 An sin thubhairt a' bhean, Labhradh, guidheam ort, do bhanoglach *aon* fhocal ri m' thighearn an righ. Agus thubhairt esan, Abair romhad.

13 Agus thubhairt a' bhean, C'ar son ma ta a smuainich thu a leithid so *do ni* an aghaidh sluaigh Dhé? oir tha'n righ a' labhairt an ni so mar neach a tha ciontach, a chionn nach 'eil an righ a' toirt 'fhògaraich air ais.

14 Oir bàsaichidh sinn gu deimhinn, agus *tha* sinn mar uisge a dhòirteadh air an talamh, agus nach cruinnichear a ris: gidheadh cha'n àill le Dia beatha [b] a thoirt air falbh, ach smuainichidh e air meadhonaibh a chum nach fògair e 'fhògarach gu tur uaith.

15 Agus a nis gu bheil mi air teachd a labhairt ri m' thighearn an righ mu'n ni so, *is ann* a chionn gu'n do chuir an sluagh eagal orm: agus thubhairt do bhanoglach, Labhraidh mi nis ris an righ; theagamh gu'n dean an righ iarrtus a bhanoglaich.

16 Oir éisdidh an righ, a shaoradh a bhanoglaich a làimh an duine, *leis am b'àill* mi féin agus mo mhac a sgrios le chéile a mach a oighreachd Dhé.

17 An sin thubhairt do bhanoglach, Bithidh focal mo thighearn an righ a nis sòlasach: oir mar aingeal Dé, mar sin *tha* mo thighearn an righ, a thuigsinn maith agus uilc: agus bithidh an Tighearna do Dhia maille riut.

18 Agus fhreagair an righ, agus thubhairt e ris a' mhnaoi, Na ceil orm, guidheam ort, an ni a dh'fheòraicheas mi dhiot. Agus thubhairt a' bhean, Labhradh a nis mo thighearn an righ.

19 Agus thubhairt an righ, *Nach 'eil*, làmh Ioaib maille riut anns an ni so uile? Agus fhreagair a' bhean agus thubhairt i, *Mar* is beo t'anam, a thighearn, a righ, cha 'n'eil claonadh sam bith a dh'ionnsuidh na làimhe deise, no dh'ionnsuidh na làimhe clithe, ann an ni air bith [c] a labhair mo thighearn an righ; oir do sheirbhiseach Ioab, *is* esan *a* dh'iarr orm-sa, agus *is* esan *a* chuir ann am beul do bhanoglaich na briathra so uile:

20 A thoirt m'an cuairt a leithid so do chainnt, rinn do sheirbhiseach Ioab an ni so: agus *tha* mo thighearna glic, a réir gliocais aingil Dé, a thuigsinn gach *ni* a *ta* air an talamh.

21 Agus thubhairt an righ ri Ioab, Feuch a nis, rinn mi an ni so: imich ma ta, thoir air ais an t-òganach Absalom.

22 Agus thuit Ioab air 'aghaidh gu làr, agus chrom se e féin, agus bheannaich e [d] do'n righ: agus thubhairt Ioab, An diugh tha fios aig do sheirbhiseach gu'n d'fhuair mi deagh-ghean a'd' shùilibh, mo thighearn, a righ; oir rinn an righ iarrtus a sheirbhisich.

23 Agus dh'eirich Ioab agus chaidh e gu Gesur, agus thug e Absalom gu h-Ierusalem.

24 Agus thubhairt an righ, Pilleadh e dh'ionnsuidh a thighe féin, agus na faiceadh e mo ghnùis-sa. Agus phill Absalom a dh'ionnsuidh a thighe féin, agus cha 'n fhac' e gnùis an righ.

25 Ach ann an Israel uile cha robh duine cho maiseach ri Absalom: *bha e* ri mholadh gu mòr: o bhonn a choise gu ruig mullach a chinn cha robh smal air bith air.

26 Agus an uair a bhearr e *folt* a chinn, (oir b'ann aig ceann gach bliadhna [f] a bhearr se e; a chionn gu'n robh e trom air, uime sin bhearr se,

[a] fhuiltean. [b] *anam.* [c] *cha'n fheud duine sam bith tionndadh a dh'ionnsuidh na làimhe deise, no na làimhe clìthe, o ni air bith.* [d] *thug buidheachas.* [f] *o cheann laithean gu laithibh.* Eabh.

se e) chothromaich e folt a chinn aig
dà cheud secel, a réir tomhais[a] an
righ.
27 Agus rugadh do Absalom tri
mic, agus aon nighean, d'am *b*'ainm
Tamar: bha i na mnaoi sgiamhaich
na gnùis.
28 Agus ghabh Absalom còmh-
nuidh ann an Ierusalem dà bhliadhna
iomlan, agus cha'n fhac' e gnùis an
righ.
29 Uime sin chuir Absalom *fios* air
Ioab, a chum a chur a dh'ionnsuidh
an righ; ach cha b'àill leis teachd d'a
ionnsuidh: agus an uair a chuir e
fios a rìs an daradh uair, cha b'àill leis
teachd.
30 Uime sin thubhairt e r'a sheir-
bhisich, Faicibh achadh Ioaib làimh ri
m'*achadh-sa*[b], agus eorna aig an sin;
rachaibh, agus cuiribh ri theine e.
Agus chuir seirbhisich Absaloim an
t-achadh ri theine.
31 An sin dh'éirich Ioab, agus
thàinig e dh'ionnsuidh Absaloim d'*a*
thigh, agus thubhairt e ris, C'ar son a
a chuir do sheirbhisich m'achadh ri
theine?
32 Agus fhreagair Absalom Ioab,
Feuch, chuir mi *fios* a t'ionnsuidh, ag-
ràdh, Thig an so, agus curidh mi thu
dh'ionnsuidh an righ, a ràdh, C'ar son
a thàinig mi o Ghesur? *bu* mhaith
dhomhsa gu'm bithinn fathast an sin:
a nis ma ta faiceam gnùis an righ;
agus ma tha eu-ceart *sam bith* annam,
thugadh e fa'near mo mharbhadh.
33 Uime sin thàinig Ioab a dh'
ionnsuidh an righ, agus dh'innis e *sin*
da: agus ghairm e air Absalom, agus
thàinig e dh'ionnsuidh an righ, agus
chrom se e féin air 'aghaidh gu làr am
fianuis an righ; agus phòg an righ
Absalom.

CAIB. XV.

AGUS an déigh so dh'ulluich[c]
Absalom dha féin carbadan,
agus eich, agus lethcheud fear gu
ruith roimhe.
2 Agus dh'éirich Absalom gu
moch, agus sheas e làimh ri slighe a'
gheataidh: agus an uair a thigeadh
neach air bith aig an robh comh-stri[d]
a dh'ionnsuidh an righ chum breithea-
nais, an sin ghairmeadh Absalom air,
agus theireadh e, Ciod am baile as *am
bheil* thu? Agus theireadh esan, O
aon do threubhaibh Israeil *tha* do
sheirbhiseach.
3 Agus theireadh Absalom ris,
Feuch, *tha* t'fhocail maith agus ceart,
ach cha'*n'eil* neach air bith ann *air
orduchadh* leis an righ gu éisdeachd
riut:
4 Theireadh Absalom cuideachd,
O nach robh mise air mo shuidheach-
adh a'm'bhreitheamh anns an tìr, a
chum a m' ionnsuidh-sa gu'n dthig-
eadh gach duine aig am bheil comh-
stri no cùis-lagha, agus dheanainn
ceartas dha!
5 Agus an uair a thigeadh duine
sam bith am fagus *da* a dheanamh
ùmhlachd dha, chuireadh e mach a
làmh, agus bheireadh e air. agus
phògadh se e.
6 Agus air an dòigh so rinn Absa-
lom ri Israel uile a thàinig a chum
breitheanais a dh'ionnsuidh an righ:
agus ghoid Absalom cridheacha
dhaoine Israeil.
7 Agus an ceann cheithir[e] bliadhna
thubhairt Absalom ris an righ, Leig
dhomh imeachd, guidheam ort, agus
mo bhòid a dhìoladh a bhòidich mi
do'n Tighearn ann an Hebron.
8 Oir bhòidich do sheirbhiseach
bòid an uair a bha mi a'm' chòmh-
nuidh ann an Gesur ann an Siria, ag
ràdh, Ma bheir an Tighearna mi gu
dearbh a ris gu h-Ierusalem, an sin ni
mi seirbhis do'n Tighearna.
9 Agus thubhairt an righ ris, Imich
ann an sìth. Agus dh'éirich e, agus
chaidh e gu Hebron.
10 Ach chuir Absalom luchd-bratha
air feadh uile threubhan Israeil, ag
ràdh, Cho luath as a chluinneas sibh
fuaim na trompaide, an sin their sibh,
Tha Absalom na righ ann an He-
bron.
11 Agus maille ri Absalom chaidh
da cheud fear a mach a h-Ierusalem, a
ghairmeadh,

[a] *cloich.* Eabh. [b] *Faicibh cuibhrionn Ioaib aig mo làimh-sa.* Eabh.
[c] *rinn.* Eabh. [d] *connsachadh, cùis-lagha.* [e] *dhà fhichead bliadhna,
dhà fhichead là.*

ghairmeadh, agus dh'imich iad ann
an treibhdhireas an *cridhe*, ag[illegible]ha
robh fios ni sam bith aca.
12 Agus chuir Absalom *fios* air
Ahitophel an Gilonach, comhairliche
Dhaibhidh, o a bhaile, *eadhon* o Ghiloh,
an uair a bha e ag iobradh iobairtean:
agus bha a' cheannairc làidir; oir bha
'n sluagh a' sìr-dhol an lìonmhoir-
eachd maille ri Absalom.
13 Agus thàinig teachdaire
dh'ionnsuidh Dhaibhidh, ag ràdh, Tha
cridheacha fhear Israeil an déigh Ab-
saloim.
14 Agus thubhairt Daibhidh r'a
sheirbhisich uile a *bha* maille ris ann
an Ierusalem, Eiribh, agus teicheam-
aid; oir *mur dean sinn sin*, cha bhi dol
as againn o aghaidh Absaloim; luath-
aichibh agus imichibh, air eagal gu'n
dean e cabhag, agus gu'm beir e oirnn,
agus gu'n tarruing e olc oirnn, agus
gu'm buail e 'm baile le faobhar a'
chloidheimh.
15 Agus thubhairt seirbhisich an
righ ris an righ, A réir gach ni a's
àill le m' thighearn [a] an righ, feuch,
ni do sheirbhisich.
16 Agus chaidh an righ a mach,
agus a theaghlach uile na dhéigh [b]:
a mhàin dh'fhàg an righ deichnear
bhan *a bha* nan coimh-leabachaibh
aige, a ghleidheadh an tighe.
17 Agus chaidh an righ a mach,
agus an sluagh uile na dhéigh: agus
dh'fhan iad ann an àit a bha fad as [c].
18 Agus chaidh a sheirbhisich uile
thairis làimh ris; agus chaidh na
Ceretich uile, agus na Peletich uile,
agus na Gitich uile, sè ceud fear a
thàinig na dhéigh o Ghat, thairis
roimh an righ.
19 Agus thubhairt an righ ri Itai
an Giteach, C'ar son a tha thusa mar
an ceudna dol maille ruinne; pill gu
d'àit, agus fan maille ris an righ; oir
is coigreach thu, agus mar an ceudna
fògarach o d'àite féin [d].
20 An dé *a mhàin* thàinig thu,
agus an diugh an dthoir mise ort dol
air faontradh [e] maille ruinne? oir
théid mise an taobh *a tha* mi gu dol:
pill thusa, agus thoir air an ais do
bhràithrean leat; *agus gu nochdadh an
Tighearna dhuit* tròcair agus fìrinn.
21 Agus fhreagair Itai an righ,
agus thubhairt e, *Mar* is beo an
Tighearn, agus *mar* is beo mo thigh-
earn an righ, gu cinnteach ge b'e àit
anns am bi mo thighearn an righ, ma's
ann a chum bàis no chum beatha,
eadhon an sin bithidh do sheirbhis-
each.
22 An sin thubhairt Daibhidh ri
Itai, Imich, agus gabh thairis. Agus
chaidh Itai an Giteach thairis, agus a
dhaoine uile, agus a' chlann bheag uile
a *bha* maille ris.
23 Agus ghuil an tìr uile le guth
ard, agus chaidh an sluagh uile thairis;
chaidh an righ cuideachd thairis air
sruth Chidroin, agus chaidh an sluagh
uile thairis a làimh na slighe do'n
fhàsach.
24 Agus feuch, *bha* Sadoc mar an
ceudna, agus na Lebhithich uile maille
ris, a' giùlan àirc coimh-cheangail Dé,
agus shuidhich iad [f] àirc Dhé; agus
chaidh Abiatar suas gus an do sguir
an sluagh uile do dhol a mach as a'
bhaile.
25 Agus thubhairt an righ ri Sa-
doc, Thoir air a h-ais àirc Dhé do'n
bhaile: ma gheibh mi deagh-ghean
ann an sùilibh an Tighearna, bheir e
air m'ais mi, agus nochdaidh e dhomh
e féin, agus àite còmhnuidh.
26 Ach ma their e mar so, Cha 'n
'eil tlachd agam annad; feuch, *tha*
mise *an so*, deanadh e rium mar is
maith leis.
27 Thubhairt an righ mar an ceud-
na ri Sadoc an sagart, Nach fear-seal-
laidh thusa [g]? pill do'n bhaile ann an
sìth, agus Ahimaas do mhac féin, agus
Ionatan mac Abiatair, bhur dithis mac
maille ribh.
28 Faicibh, fanaidh mise ann an
còmhnardaibh [h] an fhàsaich, gus an
dthig focal uaibhse a thoirt fios
domh.
29 Uime sin thug Sadoc agus Abi-
atar àirc Dhé a rìs gu h-Ierusalem;
agus dh'fhan iad an sin.

30 Agus

[a] *a rògbnaicbeas, a dh'orduichreas mo thighearn.* [b] *d'an cois.* [c] *Bet-merec.* Eabh. [d] *agus pillidh tu do d' àite féin.* [e] *dol sìos agus suas.* [f] *leig iad sìos.* [g] *Nach 'eil thu a' faicinn?* [h] *ann am bealaichibh.*

30 Agus chaidh Daibhidh suas ri
uchdaich [a] *sléibh* nan oladh, a' dol
suas agus a' gul, agus a cheann còmh-
daichte, agus e 'g imeachd cosruisgte:
agus chòmhdaich an sluagh uile a *bha*
maille ris gach fear *dhiubh* a cheann,
agus chaidh iad suas, ag imeachd a-
gus a' gul.
31 Agus dh'innis *neach* do
Dhaibhidh, ag ràdh, *Tha* Ahitophel
am measg an luchd-ceannairc maille
ri Absalom. Agus thubhairt Daibh-
idh, Tionndaidh, a Thighearna,
guidheam ort, comhairle Ahitopheil
gu h-amaideachd.
32 Agus an uair a thàinig Daibhidh
gu mullach *an t-sléibh*, far an d'rinn e
aoradh do Dhia, feuch, thàinig Husai
an t-Arcach na choinneamh, le
'chòta reubta, agus ùir air a cheann.
33 Agus thubhairt Daibhidh ris,
Ma théid thu thairis maille riumsa,
an sin bithidh tu a'd' eallaich orm.
34 Ach ma philleas tu do'n bhaile,
agus ma their thu ri Absalom,
Bithidh mise a'm' sheirbhiseach dhuit,
a righ; *bu* sheirbhiseach do t'athair
mi gu ruige so [b], agus a nis *bithidh* mi
mar an ceudna a'm' sheirbhiseach
dhuitse; an sin bheir thu air mo shon-
sa comhairle Ahitopheil gu neo-ni:
35 Agus nach '*eil* maille riut an sin
Sadoc agus Abiatar na sagairt? agus
gach focal a chluinneas tu a tigh an
righ, innsidh tu *e* do Shadoc agus do
Abiatar na sagairt.
36 Feuch, *tha* 'n sin maille riu an
dithis mac, Ahimaas *mac* Shadoic, a-
gus Ionatan *mac* Abiatair: agus le'n
làimh-san cuiridh sibh a'm' ionnsuidh-
sa gach focal a chluinneas sibh.
37 Uime sin thàinig Husai caraid
Dhaibhidh do'n bhaile, agus thàinig
Absalom gu h-Ierusalem.

CAIB. XVI.

AGUS an uair a chaidh Daibhidh
beagan thar mullach *an t-sléibh*,
feuch, *thàinig* Siba òglach Mhephi-
boset na choinneamh le dà asail air an
diollaideachadh [c], agus dà cheud
builionn arain orra, agus ceud bagaide
do fhìon-dhearcaibh tiormaichte, agus
ceud do mheas samhraidh, agus
seag[illegible] fhìona.
2 Agus thubhairt an righ ri Siba,
Ciod *is ciall* duit leo sin? Agus thubh-
airt Siba, *Tha* na h-asail air son
teaghlaich an righ chum marcachd;
agus an t-aran agus am meas samh-
raidh air son nan òganach chum *an*
itheadh; agus am fìon, a chum as
gu'n òl esan a bhios sgìth [d] anns an
fhàsach.
3 Agus thubhairt an righ, Agus
c'àit am bheil mac do mhaighstir?
Agus thubhairt Siba ris an righ,
Feuch, tha e fantuinn ann an Ierusa-
lem; oir thubhairt e, An diugh
aisigidh tigh Israeil dhomhsa riogh-
achd m'athar.
4 An sin thubhairt an righ ri Siba,
Feuch, *is* leatsa gach *ni* a *bha* aig
Mephiboset. Agus thubhairt Siba,
Tha mi le mòr-ùmhlachd a' guidhe
ort *gu*'m faigh mi deagh-ghean a'd'
shùilibh, a thighearn, a righ.
5 Agus an uair a thàinig righ
Daibhidh gu Bahurim, feuch, a sin
thàinig a mach duine do theaghlach
tighe Shauil, d'am *b*'ainm Simei, mac
Ghera: thàinig e mach, a teachd air
aghaidh agus a' mallachadh.
6 Agus thilg e clachan air Daibh-
idh, agus air seirbhisich righ Daibh-
idh uile; agus *bha* 'n sluagh uile, agus
na daoine treuna uile, air a làimh
dheis agus air a làimh chli.
7 Agus mar so thubhairt Simei an
uair a mhallaich se e, Thig a mach,
thig a mach, thus' a dhuine fhuil-
eachdaich, agus a dhuine le Belial.
8 Dhìol an Tighearn ortsa uile
fhuil tighe Shauil, an àit an do
rìoghaich thu; agus thug an Tighearn
an rìoghachd do làimh do mhic Ab-
saloim: agus feuch, *ghlacadh* thu ann
ad olc féin, a chionn gur duine
fuileachdach thu.
9 An sin thubhairt Abisai mac
Sheruiah ris an righ, C'ar son a mhall-
aicheadh an cù marbh so ma thigh-
earn an righ? leig dhomh dol a nunn,
guidheam ort, agus a cheann a thoirt
deth.
10 Agus thubhairt an righ, Ciod e
mo

[a] *bruthach, dìreadh.* [b] *cheann fada.* [c] *le'n acfuinn orra.*
[d] *lag, fann.*

mo ghnothuch-sa ribhse[a], a mhaca
Sheruiah? leigibh leis mallachadh, a
chionn gu'n d'thubhairt an Tighearna
ris, Mallaich Daibhidh: agus cò a
their, C'ar son a rinn thu mar so?
11 Agus thubhairt Daibhidh ri
Abisai, agus r'a sheirbhisich uile,
Feuch, mo mhac, a thàinig a mach a
m'innibh, ag iarraidh m'anma; agus
cia mòr is mò a nis *a dh'fheudas* am
Beniamineach so? Leigibh leis, agus
mallaicheadh e, oir dh'iarr an Tigh-
earn air.
12 Theagamh gu'n amhairc an
Tighearn air m'àmhghar, agus gu'n
dìol an Tighearna dhomh maith air-
son a mhallachaidh air an la 'n diugh.
13 Agus an uair a dh'imich Daibh-
idh agus a dhaoine air an t-slighe,
dh'imich Simei air slios[b] an t-sléibh
làimh ris[c], a' dol air aghaidh agus a'
mallachadh, agus thilg e clachan agus
ùir air.
14 Agus thàinig an righ agus an
sluagh uile a *bha* maille ris, sgith; a-
gus leig iad an anail an sin.
15 Agus thàinig Absalom agus
uile shluagh fhear Israeil, gu h-Ieru-
salem, agus Ahitophel maille ris.
16 Agus an uair a thàinig Husai
an t-Arcach, caraid Dhaibhidh, a
dh'ionnsuidh Absaloim, thubhairt
Husai ri Absalom, Gu ma fada beo
an righ, gu ma fada beo an righ.
17 Agus thubhairt Absalom ri
Husai, An e so do choimhneas ri d'
charaid? c'ar son nach deachaidh tu
maille ri d' charaid?
18 Agus thubhairt Husai ri Absa-
lom, Ni h-eadh; ach ge b'e neach a
thaghas an Tighearna, agus an sluagh
so, agus fir Israeil uile, leis-san
bithidh mise, agus maille ris fanaidh mi.
19 Agus san daradh àite, cia dha
a dheanainn seirbhis? nach ann an
làthair a mhic? mar a rinn mi serbhis
ann an làthair t'athar, mar sin bithidh
mi a'd' làthair-sa.
20 An sin thubhairt Absalom ri
Ahitophel, Thugaibh comhairle 'nar
measg ciod a ni sinn.
21 Agus thubhairt Ahitophel ri
Absalom, Gabh a stigh a dh'ionnsuidh
choimh-leabach t'athar, a dh'fhàg e a
ghleidheadh an *tighe*; agus cluinnidh
Israel uile gu bheil thu air fàs gràineil
do t'athair, agus neartaichear làmhan
gach neach a *tha* maille riut.
22 Agus sgaoil iad bùth do Absa-
lom air mullach an tighe; agus chaidh
Absalom a steach a dh'ionnsuidh
choimh-leabach 'athar ann an sealladh
Israeil uile.
23 Agus *bha* comhairle Ahitopheil
a thug e seachad anns na laithibh sin,
mar gu'm fiosraicheadh duine do
fhocal Dhé: mar sin *bha* uile chomh-
airle Ahitopheil, araon aig Daibhidh
agus aig Absalom.

CAIB. XVII.

AGUS thubhairt Ahitophel ri
Absalom, Leig dhomh a nis dà
mhìle dheug fear a thaghadh a mach,
agus éiridh mi, agus théid mi air tòir
Dhaibhidh an nochd.
2 Agus thig mi air an uair a *tha* e
sgìth agus lag-làmhach, agus cuiridh
mi eagal air: agus teichidh an sluagh
uile a *tha* maille ris, agus buailidh mi
an righ a mhàin.
3 Agus bheir mi air an ais an
sluagh uile a t'ionnsuidh-sa: *tha* 'n
duine a *tha* thu ag iarraidh mar gu'm
pilleadh an t-iomlan: agus bithidh an
sluagh uile ann an sìth.
4 Agus thaitinn a' chainnt ri Ab-
salom[d], agus ri seanairibh Israeil uile.
5 Agus thubhairt Absalom, Gairm
a nis mar an ceudna air Husai an
t-Arcach, agus cluinneamaid mar an
ceudna ciod a their esan[e].
6 Agus thàinig Husai a dh'ionn-
suidh Absaloim, agus labhair Absa-
lom ris, ag ràdh, Air an dòigh so
labhair Ahitophel: an dean sinn *a*
réir 'fhocail? no nach *dean?* labhair
thusa.
7 Agus thubhairt Husai ri Absa-
lom, Cha 'n'*eil* a' chomhairle a thug
Ahitophel, maith air an uair so.
8 Oir, arsa Husai, is aithne dhuit
t'athair agus a dhaoine, gur *daoine*
treun iad agus air am feargachadh
nan

[a] *Ciod e dhomhsa agus dhuibhse.* Eabh. [b] *taobh.* [c] *fa chomhair.* [d] *bha am focal ceart ann an sùilibh Absaloim.* Eabh. [e] *ciod a tha na bheul-san.* Eabh.

nan ſpiorad [a], mar mhath-ghamhuin o'n d'thugadh a cuileana anns a' mhachair: agus *is* fear-cogaidh [b] t'athair, agus cha ghabh e tàmh maille ris an t-ſluagh.

9 Feuch, tha e nis am folach ann an ſlochd éigin, no ann an àit *éigin* eile: agus tachairidh, an uair a thuiteas cuid diubh an toiſeach, ge b'e neach a chluinneas e, gu'n abair e, Tha àr am meaſg an t-ſluaigh a tha leantuinn Abſaloim.

10 Agus eſan mar an ceudna *a tha* na dhuine treun, aig *am bheil* a chridhe mar chridhe leòmhain, leaghaidh e gu tur; oir tha fios aig Iſrael uile gur duine treun t'athair, agus *gur* daoine treun iadſan a *tha* maille ris.

11 Air an aobhar ſin is i mo chomhairle-ſa, Gu'n cruinnichear Iſrael uile a t'ionnſuidh, o Dhan eadhon gu Beer-ſeba, mar an gaineamh a *tha* làimh ris an fhairge air lìonmhoireachd, agus gu'n dthéid thu féin [c] *maille riu* do'n chath.

12 Agus thig ſinn air ge b'e àit am faighear e, agus tuitidh ſinn air mar a thuiteas an drùchd air an talamh: agus cha'n fhàgar dheth féin, agus do na fir uile a *tha* maille ris, eadhon aon.

13 Agus ma théid e a ſteach do bhaile, an ſin bheir fir Iſraeil uile cuird leo a dh'ionnſuidh a' bhaile ſin, agus tairngidh ſinn e do'n abhuinn [d], gus nach fàgar an ſin aon chlach bheag.

14 Agus thubhairt Abſalom agus fir Iſraeil uile, *Is* fearr comhairle Huſai an Arcaich na comhairle Ahitopheil: oir dh'orduich an Tighearna comhairle mhaith Ahitopheil a thoirt gu neo-ni, a chum gu'n dthugadh an Tighearn olc air Abſalom.

15 An ſin thubhairt Huſai ri Sadoc agus ri Abiatar na ſagairt, Mar ſo agus mar ſo chomhairlich Ahitophel Abſalom agus ſeanairean Iſraeil; agus mar ſo agus mar ſo chomhairlich miſe.

16 A nis uime ſin cuiribh *fios* gu grad, agus innſibh do Dhaibhidh, ag ràdh, Na fan an nochd ann an còmhnardaibh an fhàſaich, ach gabh thairis gu luath, air eagal gu'n ſloigear ſuas an righ, agus an ſluagh uile a *tha* maille ris.

17 Agus dh'fhan Ionatan agus Ahimaas làimh ri En-rogel, oir cha'n fheudadh iad a bhi air am faicinn a' dol a ſtigh do'n bhaile, agus chaidh cailin agus dh'innis i dhoibh; agus chaidh iadſan agus dh'innis iad do righ Daibhidh.

18 Gidheadh chunnaic òganach iad, agus dh'innis e do Abſalom: ach dh'imich iadſan le chéile gu luath, agus thàinig iad gu tigh duine ann am Bahurim, aig an robh tobar na chùirt [e], agus chaidh iad sìos an ſin.

19 Agus ghabh a' bhean còmhdach agus ſgaoil i e air beul an tobair, agus chuir i gràn meilte [f] air; agus cha d'aithnicheadh an ni.

20 Agus an uair a thàinig ſeirbhiſich Abſaloim a dh'ionnſuidh na mnà do'n tigh, thubhairt iad, C'àit am bheil Ahimaas agus Ionatan? Agus thubhairt a' bhean riu, Chaidh iad thairis air an t-ſruthan uiſge. Agus an uair a dh'iarr iad, agus nach d'fhuair iad, phill iad gu h-Ieruſalem.

21 Agus an uair a dh'fhalbh iad, thàinig iadſan a nìos as an tobar, agus chaidh iad agus dh'innis iad do righ Daibhidh, agus thubhairt iad ri Daibhidh, Eiribh, agus rachaibh gu grad thar an uiſge; oir mar ſo chomhairlich Ahitophel 'nar n-aghaidhſa.

22 Agus dh'éirich Daibhidh, agus an ſluagh uile a *bha* maille ris, agus *chaidh iad* thar Iordan gu ſolus na maidne, gus nach robh aon diubh nach deachaidh thar Iordan.

23 Agus an uair a chunnaic Ahitophel nach do ghabhadh a chomhairle, chuir e diollaid air 'aſail, agus dh'éirich e, agus dh'imich e dh'ionnſuidh a thighe, d'a bhaile féin, agus thug e àitheanta d'a theaghlach [g], agus chroch ſe e féin, agus fhuair e bàs,

[a] *garg, nan inntinn.* [b] *fear deanta ri cogadh.* [c] *do ghnùis fein.* Eabh. [d] *do'n t-ſruth.* [e] *loinn; court.* Saſg. [f] *bleithte.* [g] *chuir e theaghlach an ordugh.*

bàs, agus dh'adhlaiceadh e ann an àit-adhlacaidh 'athar.

24 An ſin thàinig Daibhidh gu Mahanaim: agus chaidh Abſalom thar Iordan, e féin agus fir Iſraeil uile maille ris.

25 Agus rinn Abſalom Amaſa na cheannard air an t-ſluagh an àit Ioaib: agus *b'e* Amaſa mac duine, d'am *b*'ainm Itra Iſraeleach[a], a chaidh a ſteach gu Abigail nighean Nahais, piuthar Sheruiah, màthar Ioaib.

26 Agus champaich Iſrael agus Abſalom ann am fearann Ghilead.

27 Agus an uair a thàinig Daibhidh gu Mahanaim, thug Sobi mac Nahais o Rabah chloinn Amoin, agus Machir mac Amieil o Lodebar, agus Barſillai an Gileadach o Rogelim,

28 Leapaichean, agus cuachan, agus ſoithichean creadha, agus cruithneachd, agus eorna, agus min mhìn, agus *gràn* cruaidhichte, agus pònair[b], agus gail-pheaſair, agus *peaſair* chruaidhichte,

29 Agus mil, agus im, agus caoraich, agus càiſe[*] cruidh air ſon Dhaibhidh, agus air ſon an t-ſluaigh a *bha* maille ris, a chum *an* itheadh; oir thubhairt iad, *Tha*'n ſluagh ocrach, agus ſgìth, agus iotmhor[c] anns an fhàſach.

C A I B. XVIII.

AGUS dh'àireamh Daibhidh an ſluagh a *bha* maille ris, agus chuir e ceannardan mhìltean, agus ceannardan cheudan os an cionn.

2 Agus chuir Daibhidh a mach trian do'n t-ſluagh fuidh làimh Ioaib, agus trian fuidh làimh Abiſai, mhic Sheruiah, bràthar Ioaib; agus trian fuidh làimh Itai a' Ghitich; agus thubhairt an righ ris an t-ſluagh, Gu deimhin théid mi féin mar an ceudna mach maille ribh.

3 Ach fhreagair an ſluagh, Cha dthéid thu mach: oir ma theicheas ſinne, cha ghabh iad ſuim dhinn[d]; agus ma bhàſaicheas ar leth, cha ghabh iad ſuim dhinn; ach a nis *a ta* *thuſa* mar dheich mìle dhinne: uime ſin a nis *is* fearr gu'n deanadh tuſa còmhnadh[e] ruinn a mach as a' bhaile.

4 Agus thubhairt an righ riu, *An ni ſin* a tha ceart 'nar sùilibh, ni miſe. Agus ſheas an righ làimh ris a' gheatadh, agus thàinig an ſluagh uile a mach nan ceudaibh agus nam mìltibh.

5 Agus dh'àithn an righ do Ioab, agus do Abiſai, agus do Itai, ag ràdh, *Buinibh* gu mìn air mo ſgàthſa ris an òganach, ri Abſalom. Agus chual' an ſluagh uile 'nuair a dh'àithn an righ do na ceannardaibh uile a thaobh Abſaloim.

6 Agus chaidh an ſluagh a mach do'n mhachair an aghaidh Iſraeil: agus bha'n cath ann an coille Ephraim.

7 Agus mharbhadh an ſin ſluagh Iſraeil roimh ſheirbhiſich Dhaibhidh, agus bha 'n ſin air an là ſin àr mòr fhichead mìle *fear*:

8 Oir bha'n cath an ſin air ſgaoileadh air aghaidh na tìre uile; agus chuir a' choille as do thuilleadh ſluaigh air an là ſin na chuir an claidheamh.

9 Agus thachair Abſalom air ſeirbhiſich Dhaibhidh; agus *bha* Abſalom a' marcachd air muileid, agus chaidh a' mhuileid a ſteach fuidh gheuga tiugha craoibhe mòire daraich, agus ghlacadh a cheann anns a' chraoibh dharaich, agus chrochadh e eadar nèamh agus talamh; agus dh'imich a' mhuileid a *bha* fuidhe roimpe.

10 Agus chunnaic duine àraidh *so*, agus dh'innis e do Ioab, agus thubhairt e, Feuch, chunnaic mi Abſalom crochta ann an craoibh dharaich.

11 Agus thubhairt Ioab ris an duine a dh'innis dha, Agus feuch, chunnaic thu *e*, agus c'ar ſon nach do bhuail thu e 'n ſin gu làr[f], agus bheirinnſe dhuit deich *ſecil* airgid[g], agus crios?

12 Agus thubhairt an duine ri Ioab, Ge do gheibhinnſe mìle *ſecel* airgid ann mo làimh, cha chuirinn

[a] *Ieſraeleach.* [b] *pànoir.* [c] *pàiteach.* [d] *cha chuir iad an cridhe oirnn.* Eabh. [e] *congnamh.* Eir. [f] *c'ar ſon nach do bhuail thu e, agus nach do thilg thu e sios gu làr.* [g] *agus* bhiodh e mar fhiacha *ormſa deich ſeceil airgid a thoirt duit.* Eabh.

mo làmh a mach an aghaidh mic an
righ: oir 'nar n-éisdeachd dh'àithn an
righ dhuitse, agus do Abisai, agus
do Itai, ag ràdh, Gleidhibh dhomh
an t-òganach Absalom.

13 No dheanainn eucoir [a] an
aghaidh m'anma [b] féin; oir cha 'n'eil
ni air bith am folach air an righ, agus
sheasadh tusa féin a'm' aghaidh.

14 An sin thubhairt Ioab, Cha'n
fheud mise fuireach mar so maille
riut. Agus ghabh e tri gathan na
làimh, agus shàth e iad an cridhe Ab-
saloim, an uair *a bha* e fathast beo ann
am meadhon [c] na craoibhe daraich.

15 Agus chuairtich deichnear
òganach *a bha* 'g iomchar arm Ioaib,
agus bhuail iad Absalom, agus mharbh
iad e.

16 Agus shéid Ioab an trompaid,
agus phill an sluagh o ruagadh Is-
raeil; oir chum Ioab air an ais an
sluagh.

17 Agus ghabh iad Absalom, agus
thilg iad e ann an slochd mòr anns a'
choille, agus chuir iad carn ro-mhòr
chlach air: agus theich Israel uile,
gach fear a dh'ionnsuidh a bhùtha.

18 A nis ghabh Absalom, an uair
bu bheo e, agus chuir e suas dha féin
carragh, a *tha* ann an gleann an righ;
oir thubhairt e, Cha 'n'eil mac agam
a chumail m'ainme air chuimhne: a-
gus thug e 'ainm féin air a' charragh,
agus theirear ris gu ruig an la 'n
diugh, Clach-chuimhneachain Absa-
loim [d].

19 An sin thubhairt Ahimaas mac
Shadoic, Leig dhomh ruith a nis, a-
gus sgeul [e] a thoirt a dh'ionnsuidh an
righ, gu'n do shaor an Tighearn e a
làimh a naimhde [f].

20 Agus thubhairt Ioab ris, Cha
dthoir thu sgeul leat an diugh, ach
bheir thu sgeul leat là eile: ach an
diugh cha dthoir thu sgeul leat, a
chionn gu bheil mac an righ marbh.

21 Agus thubhairt Ioab ri Cusi,
Falbh, innis do'n righ ciod a chunnaic
thu. Agus chrom Cusi e féin do Ioab,
agus ruith e.

22 An sin thubhairt Ahimaas mac
Shadoic a ris ri Ioab, Ach gidheadh [g],
leig dhomhsa, guidheam ort, ruith
mar an ceudna an déigh Chusi. Agus
thubhairt Ioab, C'ar son a ruitheadh
tusa, a mhic, agus nach d'fhuaradh
sgeul sam bith dhuit [h].

23 Ach gidheadh, *ars' esan*, leig
dhomh ruith. Agus thubhairt e ris,
Ruith. Agus ruith Ahimaas rathad a'
chòmhnaird, agus chaidh e seachad
air Cusi.

24 Agus shuidh Daibhidh eadar an
dà gheatadh, agus chaidh am fear-
faire suas gu mullach a' gheataidh,
air a' bhalladh; agus thog e suas
a shùilean, agus dh'amhairc e, agus
feuch, duine a' ruith na aonar.

25 Agus ghlaodh am fear-faire, a-
gus dh'innis e do'n righ. Agus thubh-
airt an righ, Ma *tha* e na aonar, *tha*
sgeul aige na bheul. Agus dh'imich
e air aghaidh, agus thàinig e am fagus.

26 Agus chunnaic am fear-faire
duine eile a' ruith, agus ghlaodh am
fear-faire ris an dorsair, agus thubh-
airt e, Feuch, *tha* duine *eile* a' ruith
na aonar. Agus thubhairt an righ,
Tha esan mar an ceudna a' toirt sgéil.

27 Agus thubhairt am fear-faire,
Tha mi a' faicinn ruith a' cheud *duine*
mar ruith Ahimaais, mhic Shadoic.
Agus thubhairt an righ, Is duine
maith esan, agus is ann le sgeul
maith a tha e a' teachd.

28 Agus ghlaodh Ahimaas, agus
thubhairt e ris an righ, Tha gach ni
gu maith [k]. Agus chrom se e féin
sìos do'n righ air 'aghaidh dh'ionn-
suidh na talmhainn, agus thubhairt e,
Gu ma beannuichte an Tighearna do
Dhia, a thug thairis na daoine a thog
an làmhan suas an aghaidh mo thigh-
earn an righ.

29 Agus thubhairt an righ, Am
bheil an t-òganach Absalom tèaruinte?
Agus fhreagair Ahimaas, An uair a
chuir

[a] *breug, cealg.* [b] *mo bheatha.* [c] *ann an cridhe.* Eabh.
[d] *Aite; làmh* Eabh. [e] *deagh sgeula, teachdaireachd mhaith.*
[f] *gu'n do dhìol an Tighearn e air a naimhdibh.* [g] *ciod air bith a thachaireas.*
[h] *agus gun sgeul sam bith deas agad.* [k] *sìth.* Eabh.

chuir Ioab air falbh seirbhiseach an righ, agus *mise* do sheirbhiseach [a], chunnaic mi buaireas mòr, ach cha robh fios agam ciod *e*.

30 Agus thubhairt an righ *ris*, Tionndaidh a leth-taobh, *agus* seas an so. Agus thionndaidh e a leth-taobh, agus sheas e.

31 Agus feuch, thàinig Cusi, agus thubhairt Cusi, Bheirear sgeul do m' thighearn, an righ, gu'n do shaor an Tighearn thusa an diugh a làimh nan uile [b] a dh'éirich suas a'd' aghaidh.

32 Agus thubhairt an righ ri Cusi, Am bheil an t-òganach Absalom tèaruinte? Agus fhreagair Cusi, Gu robh naimhdean mo thighearn an righ, agus iadsan uile a dh'éirich suas a't' aghaidh a dheanamh *do* chroin, mar *a tha* an t-òganach *sin*.

33 Agus ghluaiseadh an righ gu mòr [c], agus chaidh e suas do'n t-seòmar os cionn a' gheataidh, agus ghuil e: agus ag imeachd dha, thubhairt e mar so, A mhic Absaloim, a mhic, a mhic Absaloim! O nach mise féin a fhuair bàs air do shon, Absaloim, a mhic, a mhic!

C A I B. XIX.

AGUS dh'innseadh do Ioab, Feuch, tha'n righ a' gul agus a' caoidh air son Absaloim.

2 Agus bha a' bhuaidh air an là sin *air a tionndadh* gu caoidh do'n t-sluagh uile; oir chual' an sluagh 'ga ràdh air an là sin, Tha 'n righ fa thuirse air son a mhic.

3 Agus ghoid an sluagh air an là sin a steach do'n bhaile, mar a ghoideas sluagh air falbh agus iad fa nàire, an uair a theicheas iad ann an cath.

4 Ach dh'fholaich an righ 'aghaidh, agus ghlaodh an righ le guth àrd, A mhic Absaloim, Absaloim, a mhic, a mhic!

5 Agus thàinig Ioab a steach a dh'ionnsuidh an righ do'n tigh, agus thubhairt e, Chuir thu nàire an diugh air aghaidhibh do sheirbhiseach uile, a shaor t'anam an diugh, agus anmanna do mhac, agus do nighean, agus anmanna do bhan, agus anmanna do choimh-leabach:

6 A chionn gu bheil gràdh agad dhoibhsan aig am bheil fuath dhuit, agus gu bheil fuath agad dhoibhsan aig am bheil gràdh dhuit: oir nochd thu an diugh nach 'eil *suim* agad do cheannardaibh, no do sheirbhisich; oir tha mi tuigsinn an diugh, nam biodh Absalom beò, agus nam bitheamaidne uile marbh an diugh, an sin gu'm bitheadh e ceart a'd' shùilibh.

7 A nis uime sin éirich, falbh a mach, agus labhair gu caoimhneil ri d' sheirbhisich [d]; oir bheiream-sa mo mhionnan air an Tighearna, mur dtéid thu mach, nach fan duine maille riut an nochd: agus bithidh sin ni's miosa dhuit na gach olc a thàinig ort o t'òige gus a nis.

8 An sin dh'éirich an righ, agus shuidh e anns a' gheatadh. Agus dh'innis iad do'n t-sluagh uile, ag ràdh, Feuch, tha'n righ na shuidhe anns a' gheatadh: agus thàinig an sluagh uile am fianuis an righ. Agus theich Israel, gach fear a dh'ionnsuidh a bhùtha.

9 Agus bha'n sluagh uile ri connsachadh air feadh uile threubhan Israeil, ag ràdh, Theasairg an righ sinn a làimh ar naimhde, agus shaor e sinn a làimh nam Philisteach, agus a nis tha e air teicheadh as an tìr roimh Absalom.

10 Agus fhuair Absalom, a dh'ung sinn os ar cionn, bàs anns a' chath: a nis ma ta c'ar son a tha sibh tosdach mu'n righ a thoirt air ais?

11 Agus chuir righ Daibhidh *fios* gu Sadoc agus gu Abiatar na sagairt, ag ràdh, Labhraibh ri seanairibh Iudah, ag ràdh, C'ar son a tha sibhse air dheireadh a thoirt an righ air ais d'a thigh? (agus gu'n d'thàinig cainnt Israeil uile dh'ionnsuidh an righ d'a thigh)

12 *Is* sibhse mo bhràithre, *is* sibh mo chnàmhan agus m'fheoil: c'ar son ma ta a tha sibh air dheireadh a thoirt an righ air ais?

[a] *An uair a chuir seirbhiseach an righ Ioab air falbh do sheirbhiseach.*
[b] *oir dhìol an Tighearn thusa an diugh orra-san uile.* [c] *bha'n righ fa thuirse mhòir.* [d] *labhair ri cridhe do sheirbhiseach.* Eabh.

13 Agus ri h-Amasa their sibh,
Nach tusa mo chnàimh, agus m'fheoil?
Mar sin gu'n deanadh Dia riumsa, a-
gus tuilleadh mar an ceudna, mur bi
thusa a'd' cheannard air an t-sluagh
a'm' làthairs' an còmhnuidh an àit
Ioaib.

14 Agus dh'aom e cridheacha
fheara Iudah uile, mar *chridhe* aon
duine, *air chor as* gu'n do chuir iad
am fios so dh'ionnsuidh an righ, Pill
féin agus do sheirbhisich uile.

15 Uime sin phill an righ, agus
thàinig e gu Iordan, agus thàinig
Iudah gu Gilgal, a dhol an coinneamh
an righ, gus an righ a thoirt thar
Iordan.

16 Agus luathaich Simei mac
Ghera, Beniamineach, a bha o
Bhahurim, agus thàinig e nuas maille
ri fearaibh Iudah an coinneamh righ
Daibhidh.

17 Agus *bha* mìle fear do Bhen-
iamin maille ris, agus Siba òglach
tighe Shauil, agus a chùig mic dheug,
agus 'fhichead seirbhiseach maille ris:
agus chaidh iad thar Iordan roimh an
righ.

18 Agus chaidh bàt-aisig a nunn [a]
a thoirt teaghlaich an righ thairis,
agus a dheanamh an *ni* bu mhaith
leis; agus thuit Simei mac Ghera,
sìos am fianuis an righ, 'nuair a
thàinig e thar Iordan;

19 Agus thubhairt e ris an righ,
Na cuireadh mo thighearn eu-ceart
as mo leth, agus na cuimhnich an ni
a rinn do sheirbhiseach gu h-an-dligh-
each air an là anns an deachaidh mo
thighearn an righ a mach a h-Ierusa-
lem, air chor as gu'n gabhadh an righ
e g'a chridhe.

20 Oir tha fios aig do sheirbhiseach
gu'n do pheacaich mi: uime sin,
feuch, thàinig mi an diugh an ceud
duine do thigh Ioseph uile, a dhol sìos
an coinneamh mo thighearn an righ.

21 Ach fhreagair Abisai mac
Sheruiah, agus thubhairt e, Nach
cuirear air a shon so Simei gu bàs, a
chionn gu'n do mhallaich e *aon* ungta
an Tighearna?

22 Agus thubhairt Daibhidh, Ciod
e mo ghnothuch-sa ribhse, a mhaca
Sheruiah, gu'm bitheadh sibh an
diugh 'nar n-eascairdibh dhomh? an
cuirear an diugh duine sam bith gu
bàs ann an Israel? oir nach 'eil fhios
agam gu bheil mi an diugh a'm' righ
os cionn Israeil?

23 Agus thubhairt an righ ri
Simei, Cha'n fhaigh thu bàs: agus
mhionnaich an righ dha.

24 Agus thàinig Mephiboset, mac
Shauil [b], a nuas an coinneamh an righ,
agus cha do dheasaich [c] e a chosan, a-
gus cha do chuir e snas air [d] 'fheusaig,
agus cha do nigh e 'eudach o'n là anns
an do thriall an righ, gus an là anns
an d'thàinig e *ris* ann an sìth.

25 Agus an uair a thàinig e gu
h-Ierusalem an coinneamh an righ, an
sin thubhairt an righ ris, C'ar son
nach deachaidh tu maille riumsa, a
Mhephiboset?

26 Agus fhreagair esan, A thigh-
earn, a righ, mheall mo sheirbhiseach
mi; oir thubhairt do sheirbhiseach,
Cuiridh mi dìollaid dhomh féin air
asail [e], agus marcaichidh mi oirre, agus
théid mi dh'ionnsuidh an righ, a
chionn gu bheil do sheirbhiseach bacach.

27 Agus chùl-chàin esan do sheir-
bhiseach ri m' thighearn an righ; ach
tha mo thighearn an righ mar aingeal
Dé: dean uime sin an *ni sin a ta* maith
a'd' shùilibh.

28 Oir cha robh teaghlach m'athar
uile ach nan daoinibh marbha [f] am
fianuis mo thighearn an righ;
gidheadh chuir thu do sheirbhiseach
nam measgsan a dh'ith aig do bhord
féin: ciod ma ta a' chòir a th'agam-
sa tuilleadh air glaodhaich ni's mò ris
an righ?

29 Agus thubhairt an righ ris,
C'ar son a labhras tu ni's mò mu d'
ghnothuichibh [g]? thubhairt mise,
Roinnidh tusa agus Siba am fearann.

30 Agus thubhairt Mephiboset ris
an

[a] *rinn iad gach ni* deas. [b] *mac* Ionatain, mhic *Shauil.* [c] *cha do nigh*
[d] *dheasaich e.* [e] *Cuir dìollaid dhomh air asail.* [f] *buailteach do'n bhàs.*
[g] *a labhras tu ni's mo do bhriathra?*

an righ, Seadh, gabhadh e an t-iomlan,
o thàinig mo thighearn an righ *a ris*
ann an sìth d'a thigh féin.
31 Agus thàinig Barsillai an Gil-
eadach a nuas o Rogelim, agus chaidh
e thar Iordan maille ris an righ, chum
a chur thar Iordan.
32 A nis *bha* Barsillai na dhuine
ro-shean, ceithir fichead bliadhna
dh'aois, agus thug esan lòn do'n righ [a]
an uair a dh'fhan e ann am Mahan-
aim; oir *bu* duine ro-mhòr e.
33 Agus thubhairt an righ ri Bar-
sillai, Thig-sa thairis maille rium, a-
gus beathaichidh mi thu maille rium
féin ann an Ierusalem.
34 Agus thubhairt Barsillai ris an
righ, Cia fad a th'agamsa ri bhi beo [b],
gu'n rachainn suas maille ris an righ
gu h-Ierusalem?
35 *Tha* mi an diugh ceithir fichead
bliadhna dh'aois: an urrainn mise
aithneachadh eadar maith agus olc?
an urrainn do sheirbhiseach na dh'ith-
eas no na dh'òlas mi a bhlasadh? an
urrainn mise tuilleadh guth fhear agus
bhan a sheinneas a chluinntinn? c'ar
son ma ta a bhiodh do sheirbhiseach
fathast na eire [c] air mo thighearn an
righ?
36 Théid do sheirbhiseach rè ùine
bhig thar Iordan maille ris an righ:
agus c'ar son a dhìoladh an righ sin
dhomhsa le leithid so do luaigheachd?
37 Leig le d' sheirbhiseach, guidh-
eam ort, pilltinn air ais, a chum gu'm
faigh mi bàs ann mo bhaile féin,
làimh ri uaigh m'athar, agus mo
mhàthar: ach feuch, racHadh do
sheirbhiseach Chimham thairis maille
ri m' thighearn an righ, agus dean
ris na *bhios* maith a'd' shùilibh.
38 Agus fhreagair an righ, Théid
Chimham thairis maille rium, agus ni
mi dha na *bhios* maith a'd' shùilibh;
agus ge b'e ni a dh'iarras tusa orm, ni
mi e dhuit.
39 Agus chaidh an sluagh uile thar
Iordan, agus chaidh an righ thairis:
agus phòg an righ Barsillai, agus
bheannaich se e, agus phill e d'a àite
féin.
40 An sin chaidh an righ air agh-
aidh gu Gilgal, agus chaidh Chimham
air aghaidh maille ris: agus thug
sluagh Iudah uile thairis an righ, a-
gus mar an ceudna leth sluaigh Israeil.
41 Agus feuch, thàinig fir Israeil
uile dh'ionnsuidh an righ, agus thubh-
airt iad ris an righ, C'ar son a ghoid
ar bràithrean fir Iudah thu air falbh,
agus a thug iad an righ agus a theagh-
lach, agus daoine Dhaibhidh uile
maille ris thar Iordan?
42 Agus fhreagair fir Iudah uile
fir Israeil, A chionn gu bheil an righ
fagus an dàimh dhuinne; c'ar son ma
ta a tha fearg oirbhse air son an ni so?
an d'ith sinn a' bheag o'n righ? no'n
d'thug e tiodhlac sam bith dhuinn?
43 Agus fhreagair fir Israeil fir
Iudah, agus thubhairt iad, *Tha*
deich earrannan [d] againne anns an
righ, agus *tha* mar an ceudna tuilleadh
còir againn ann an Daibhidh na
th'agaibhse: c'ar son ma ta a rinn sibh
tàir oirnne? agus nach b'e ar gnoth-
uch-ne an toiseach ar righ a thabhairt
air ais [e]? Agus bu ghairge briathran
fhear Iudah na briathran fhear Israeil.

C A I B. XX.

AGUS thachair gu'n robh duine
an sin le Belial, do'm b'ainm Seba,
mac Bhichri, Beniamineach; agus
shéid e trompaid, agus thubhairt e,
Cha 'n'eil againne cuibhrionn sam bith
ann an Daibhidh, agus cha 'n'eil oigh-
reachd sam bith againn ann am mac
Iese: gach fear a dh'ionnsuidh a
bhùtha, O Israeil.
2 Agus chaidh gach duine do Is-
rael suas o *bhi* 'n déigh Dhaibhidh,
agus lean iad Seba mac Bhichri: ach
dhlùth-lean daoine Iudah r'an righ, o
Iordan eadhon gu h-Ierusalem.
3 Agus thàinig Daibhidh d'a thigh
ann an Ierusalem, agus ghabh an righ
an deichnear bhan, *a* choimh-leabacha,
a dh'fhàg e a ghleidheadh an tighe,
agus chuir e ann an gaintir [f] iad, a-
gus bheathaich e iad, ach cha deach-
aidh e stigh d'an ionnsuidh; agus bha
iad air an druideadh suas gu là am

bàis,

[a] *bheathaich esan an righ.* [b] *Cia lìon iad laithean bhliadhnacha mo bheatha-sa.* Eabh. [c] *eallaich.* [d] *cuibhrionnan.* [e] *nach d'iarradh ar comhairle air tùs a thabhairt ar righ air ais.* [f] *prìosun.*

bàis, a' caitheamh am beatha ann am bantrachas.

4 An sin thubhairt an righ ri Amasa, Cruinnich dhomhsa fir Iudah an ceann thri laithean, agus seas féin an so.

5 Agus dh'fhalbh Amasa a chruinneachadh *fhear* Iudah; ach dh'fhan e ni b'fhaide na'n t-àm suidhichte a shònraich esan dha.

6 Agus thubhairt Daibhidh ri Abisai, A nis ni Seba, mac Bhichri, tuille croin duinn na *rinn* Absalom: gabh thusa seirbhisich do thighearna, agus falbh air a thòir, air eagal gu'm faigh e dha féin bailte daingnichte, agus gu'n dthéid e as uainn.

7 Agus chaidh a mach na dhéigh fir Ioaib, agus na Ceretich, agus na Peletich, agus na *fir* threuna uile: agus chaidh iad a mach a h-Ierusalem, a dhol air tòir Sheba, mhic Bhichri.

8 An uair *a bha* iad aig a' chloich mhòir a *tha* ann an Gibeon, thàinig Amasa rompa. Agus bha Ioab criosluichte le falluinn a chuir e uime, agus oirre sin crios *le* claidheamh ceangailte air a leis na thruaill, agus an uair a chaidh e air aghaidh, thuit e aiste.

9 Agus thubhairt Ioab ri Amasa, Am *bheil* thu slàn, a bhràthair? agus ghlac Ioab le 'dheas làimh Amasa air fheusaig, a thabhairt pòige dha.

10 Ach cha d'thug Amasa fa'near an claidheamh a *bha* ann an làimh Ioaib: agus bhuail e leis e fuidh'n chuigeadh *aisne*, agus leig e mach a mhionach a dh'ionnsuidh an làir, agus cha do bhuail e ris e, agus fhuair e bàs. Agus chaidh Ioab, agus a bhràthair Abisai, air tòir Sheba, mhic Bhichri.

11 Agus sheas fear do òganachaibh Ioaib làimh ris, agus thubhairt e, Esan leis an ionmhuinn Ioab, agus esan a *tha* le Daibhidh, leanadh e Ioab.

12 Agus bha Amasa 'ga aoñairt[a] am fuil am meadhon an rathaid mhòir. Agus an uair a chunnaic an duine gu'n d'fhan an sluagh uile nan seasamh, dh'atharraich e Amasa o'n rathad mhòr do'n achadh, agus thilg e eudach air, an uair a chunnaic e gu'n d'fhan gach neach a thàinig làimh ris nan seasamh.

13 An uair a dh'atharraicheadh e o'n rathad mhòr, chaidh an sluagh uile air an aghaidh an déigh Ioaib, a dhol air tòir Sheba mhic Bhichri.

14 Agus chaidh e air feadh uile threubhan Israeil gu h-Abel Bhetmaacah, agus na Berich uile: agus chruinnicheadh iad an ceann a chéile, agus chaidh iad mar an ceudna na dhéigh.

15 Agus thàinig iad, agus theannaich[b] iad e ann an Abel Bhetmaacah, agus chuir iad suas torr[c] an aghaidh a' bhaile, agus sheas e làimh ris a' bhallach[d]: agus rinn an sluagh uile a *bha* maille ri Ioab an dìchioll air a' bhalladh a leagadh sìos.

16 An sin ghlaodh bean ghlic a mach as a' bhaile, Eisdibh, éisdibh; abraibh, guidheam oirbh, ri Ioab, Thig am fagus an so, agus labhraidh mi riut.

17 Agus an uair a thàinig e 'm fagus d'i, thubhairt a' bhean, an tu Ioab? Agus fhreagair esan, *Is* mi. An sin thubhairt i ris, Eisd ri briathraibh do bhanoglaich. Agus fhreagair esan, Tha mi ag éisdeachd.

18 An sin labhair i, ag ràdh, Gu cinnteach labhair iad an toiseach, ag ràdh, Gu deimhin iarraidh iad *iùl* air Abel: agus mar sin criochnaichidh iad *an gnothuch*[e].

19 *Is ann* mise dhiubhsan *a tha* sìothchail *agus* firinneach[f] ann an Israel: ach tha thusa ag iarraidh baile a sgrios, agus màthair ann an Israel. C'ar son a shluigeas tu suas oighreachd an Tighearna?

20 Agus fhreagair Ioab agus thubhairt e, Gu ma fada, fada sin uamsa, gu'n sluiginn suas, no gu'n sgriosainn.

21 Cha 'n ann mar sin a tha an gnothuch: ach thog duine do shliabh Ephraim,

[a] *aoineagran.* [b] *besieged.* Sasg. [c] *dùn.* [d] *anns a' chlais.*
[e] *labhair i, ag ràdh, Bu ghnàth leo labhairt san t-sean aimsir, ag ràdh, Gu deimhin iarraidh iad* comhairle *ann an Abel: agus mar sin chrìochnaich iad* a' chùis.
[f] *dìleas.*

Ephraim, d'an ainm Seba mac Bhichri,
a làmh suas an aghaidh an righ, an
aghaidh Dhaibhidh: thugaibh etan a
mhàin thairis, agus imichidh mi o'n
bhaile. Agus thubhairt a' bhean ri
Ioab, Feuch, tilgear a cheann a d'
ionnsuidh thar a' bhalladh.

22 An sin chaidh a' bhean a dh'
ionnsuidh an t-sluaigh uile na gliocas[a],
agus ghearr iad ceann Sheba mhic
Bhichri dheth, agus thilg iad a mach
e dh'ionnsuidh Ioaib: agus shéid e
trompaid, agus chaidh iad air falbh
o'n bhaile, gach fear a dh'ionnsuidh a
bhùtha. Agus phill Ioab do Ierusa-
lem a dh'ionnsuidh an righ.

23 A nis bhà Ioab os cionn armailte
Israeil uile: agus *bha* Benaiah mac
Iehoiadah os cionn nan Cereteach,
agus os cionn nam Peleteach:

24 Agus *bha* Adoram os cionn na
cìse: agus *bha* Iehosaphat mac Ahi-
luid na sheanachaidh:

25 Agus *bha* Sebha na sgrìobh-
uiche: agus *b'iad* Sadoc agus Abiatar
na sagairt:

26 Agus mar an ceudna bha Ira an
Iaireach na ard riaghlair[b] aig Dai-
bhidh.

C A I B. XXI.

AGUS bha gorta ann an laithibh
Dhaibhidh, rè thri bliadhna,
bliadhna 'n déigh bliadhna. Agus
dh'fhiosraich Daibhidh do'n Tigh-
earna[c], agus fhreagair an Tighearna,
Is ann air son Shauil, agus air son a
thighe fhuileachdaich *a tha i*, a chionn
gu'n do mharbh e na Gibeonaich.

2 Agus ghairm an righ air na Gi-
beonaich, agus thubhairt e riu: (a nis
cha *robh* na Gibeonaich do chloinn
Israeil, ach do iarmad[d] nan Amorach,
agus thug clann Israeil mionnan doibh:
agus dh'iarr Saul am marbhadh, na
eud[e] air son chloinn Israeil agus
Iudah:)

3 Uime sin thubhairt Daibhidh ris
na Gibeonaich, Ciod a ni mi air bhur
son? agus cia leis a ni mi an réite, a
chum gu'm beannaich sibh oighreachd
an Tighearna?

4 Agus thubhairt na Gibeonaich
ris, Cha *bhi* againne airgiod no òr o
Shaul, no o a thigh[f], agus air ar
soinne cha mharbh thu duine sam bith
ann an Israel. Agus thubhairt esan,
An ni a their sibh, ni mise dhuibh[g].

5 Agus fhreagair iad an righ, An
duine a chuir as duinn, agus a smuain-
ich 'nar n-aghaidh sinn a bhi air ar
sgrios, air chor as nach fanamaid ann
an crìch air bith do Israel;

6 Thugar dhuinn seachdnar d'a
mhic-san, agus crochaidh sinn suas iad
do'n Tighearna ann an Gibeah Shauil,
a thagh an Tighearna. Agus thubh-
airt an righ, Bheir mi *dhuibh iad*.

7 Ach chaomhain an righ Mephi-
boset mac Ionatain, mhic Shauil, air
son mhionnan an Tighearn a *bha*
eatorra, eadar Daibhidh agus Ionatan
mac Shauil.

8 Ach ghabh an righ dà mhac
Rispah nighinn Aiah, a rug i do
Shaul, Armoni agus Mephiboset, agus
cùigear mhac Mheroib[h] nighinn
Shauil, a rug i do Adriel mac Bhar-
sillai a' Mheholataich,

9 Agus thug e thairis iad do làimh
nan Gibeonach, agus chroch siad iad
anns an t-sliabh am fianuis an Tigh-
earna, agus thuit an t-seachdnar sin
cuideachd, agus chuireadh gu bàs iad
ann an ceud laithibh an fhogharaidh,
ann an toiseach fogharaidh an eorna.

10 Agus ghabh Rispah nighean
Aiah saic-eudach, agus sgaoil i dhi
féin e air a' charraig, o thoiseach an
fhogharaidh gus an do shil uisge orra
o nèamh: agus cha do leig i le eun-
laith an athair fois a ghabhail orra san
la, no do fhiadh-bheathaichibh na
macharach san oidhche.

11 Agus dh'innseadh do Dhaibhidh
ciod a rinn Rispah, nighean Aiah,
coimh-leabach Shauil.

12 Agus dh'fhalbh Daibhidh, agus
thug e o dhaoinibh Iabeis-ghilead
cnàmhan Shauil, agus cnàmhan a mhic
Ionatain,

[a] agus labhair i *na gliocas*. [b] *na ard uachdaran*. [c] *dh'iarr Daibhidh gnùis Iehobah*. Eabh. [d] *fuigheall: iarsma*. Eir. [e] *na theas ghràdh*. [f] *maille ri Saul, no maille r'a thigh*. Eabh. [g] *Ciod ma ta a b'àill leibh gu'n deanainn-sa dhuibh?* [h] *Mhichail*.

Ionatain, a ghoid iad o ſhràid Bhetſain, far an do chroch na Philiſtich iad, anns an là air an do mharbh na Philiſtich Saul ann an Gilboa.

13 Agus thug e nìos as ſin cnàmhan Shauil, agus cnàmhan Ionatain, a mhic: agus chruinnich iad cnàmhan na muinntir a chrochadh.

14 Agus dh'adhlaic iad cnàmhan Shauil, agus a mhic Ionatain, ann an tìr Bheniamin ann an Selah, ann an àit adhlacaidh Chis 'athar. Agus rinn iad gach ni a dh'àithn an righ: agus na dhéigh ſin bha Dia réidh ris an tìr [a].

15 Agus bha cogadh aig na Philiſtich fathaſt ri Iſrael, agus chaidh Daibhidh sìos agus a ſheirbhiſich maille ris, agus chog iad ris na Philiſtich; agus dh'fhàs Daibhidh ſgìth.

16 Agus thubhairt Iſbi-benob [b], a bha do ſhliochd an fhamhair, (agus aig am b'e cothrom cinn a ſhleagha tri cheud ſecel umha, agus e crioſlaichte le crios [c] nomha,) gu'm marbhadh e Daibhidh.

17 Ach rinn Abiſai mac Sheruiah còmhnadh ris, agus bhuail e am Philiſteach, agus mharbh ſe e. An ſin mhionnaich fir Dhaibhidh dha, ag ràdh, Cha dthéid thu mach ni's mò maille ruinne gu cath, chum nach cuir thu as lòchran Iſraeil.

18 Agus na dhéigh ſo bha cath a rìs ann an Gob [d] ris na Philiſtich: an ſin bhuail Sibechai an Huſatach Saph [e], a *bha* do ſhliochd an fhamhair.

19 Agus bha rìs cath ann an Gob ris na Philiſtich: agus bhuail Elhanan mac Iare-oregim Lahmi [f] bràthair Gholiath a' Ghitich; agus *bha* crann a ſhleagha mar gharmain figheadair.

20 Agus bha fathaſt cath ann an Gat, far an robh fear do mheud *mhòir*, agus sè meoir aige air gach làimh, agus sè meoir air gach cois, ceithir thar fhichead an àireamh; agus rugadh eſan mar an ceudna do'n fhamhair.

21 Agus an uair a thug e dùbhlan [g] do Iſrael, mharbh Ionatan, mac Shimeah, bràthar Dhaibhidh e.

22 Rugadh a' cheathrar ſin do'n fhamhair ann an Gat, agus thuit *iad* le làimh Dhaibhidh, agus le làimh a ſheirbhiſeach.

CAIB. XXII.

AGUS labhair Daibhidh ris an Tighearna briathra na laoidhe ſo, anns an là air an do ſhaor an Tighearn e à [h] làimh a naimhdean uile, agus a làimh Shauil.

2 Agus thubhairt e, *Is e* 'n Tighearna mo charraig, agus mo dhaingneach, agus mo ſhlanuighear.

3 *Is e* Dia mo charraig; earbaidh mi as: mo ſgiath agus adharc mo ſhlàinte, mo thùr ard agus mo dhìdean: m'fhear-ſaoraidh; o ainneart ſaoraidh tuſa mi.

4 Gairmidh mi air an Tighearna, *a's* airidh air cliu; agus o m' naimhdibh ſaorar mi.

5 Oir chuairtich tonnan a' bhàis mi: chuir tuilte dhroch dhaoine eagal orm.

6 Dh'iadh cuird [k] ifrinn mu m' thimchioll: ghabh liontan [l] a' bhàis romham.

7 A'm' airc ghairm mi air an Tighearna, agus ri m' Dhia ghlaodh mi, agus chual' e o 'theampull mo ghuth, agus ràinig mo ghlaodh a chluaſa.

8 Agus chrathadh agus chriothnaich an talamh: ghluaiſeadh bunaite nan nèamh [m] agus chrathadh iad, a chionn gu'n robh fearg air.

9 Chaidh deatach ſuas o 'ſhròin, agus loiſg teine as a bheul: laſadh eibhlean leis.

10 Agus lùb e a nèamha, agus thàinig e nuas; agus dorchadas fa 'chosaibh.

11 Agus mharcaich e air cherub, agus chaidh e air iteig: agus dh'itealaich [n] e air ſgiathaibh na gaoithe.

12 Agus rinn e dorchadas na phàilliunaibh m'a thimchioll, coimhchruinn-

[a] *dh'éiſd Dia ri athchuinge* muinntir *na tìre.* [b] *ſhaoil Iſbi-benob, chuir e roimhe.* [c] *claidheamh.* [d] *Geſar.* [e] *Sipai.* [f] *mac Iare-oregim Betlehemeach.* Faic I. Eachdr. Caib. XX. r. 5. [g] *maſladh.* [h] *as.* [k] *pianta.* [l] *ribeacha.* [m] *nam beann.* [n] *chunnaic.*

chruinneachadh nan uiſgeacha [a], neoil
thiugha nan ſpeur.
13 Leis an dealradh a bha fa
'chomhair laſadh eibhlean teine.
14 Rinn an Tighearna tairneanach
o na nèamhaibh, agus leig an Ti a's
aird' a ghuth a mach.
15 Agus chuir e mach ſaighdean,
agus ſgap e iad; dealanach, agus
chlaoidh e iad [b].
16 Agus leigeadh ris aigean na
fairge, nochdadh bunaite an domh-
ain, le achmhaſan an Tighearna, le
ſéideadh anaile a ſhròine.
17 Chuir e nuas o'n aird, ghlac e
mi: tharruing e mi a mòran uiſg-
eacha.
18 Shaor e mi o m' nàmhaid làidir,
uatha-ſan a dh'fhuathaich mi; oir bu
treiſe iad na miſe.
19 Ghabh iad romham ann an là
m'àmhghair; ach b'e 'n Tighearna
mo chùl-taice.
20 Agus thug e mach mi gu ionad
farſaing: ſhaor e mi, a chionn gu'n
do ghabh e tlachd annam.
21 Thug an Tighearna luaidheachd
dhomh a réir m'ionracais: a réir
glaine mo làmh dhìol e dhomh.
22 Oir ghléidh mi ſlighean an
Tighearna, agus o m' Dhia cha do
chlaon mi gu h-aingidh.
23 Oir *bha* a bhreitheanais uile
a'm' fhianuis: agus a reachda cha do
chuir mi uam [c].
24 Agus bha mi ionraic na fhianuis,
agus ghléidh mi mi féin o m' aingidh-
eachd [d].
25 Uime ſin dhìol an Tighearna
dhomh a réir m'ionracais, a réir mo
ghloine ann an ſealladh a ſhùl.
26 Do'n duine thròcaireach nochd-
aidh tu thu féin tròcaireach, agus do'n
duine ionraic nochdaidh tu thu féin
ionraic.
27 Do'n duine ghlan nochdaidh tu
thu féin glan, agus do'n duine reaſg-
ach nochdaidh tu thu féin reaſgach.
28 Agus an ſluagh a ta fa àmhghar
ſaoraidh tu: ach *a ta* do ſhùilean an
aghaidh nan uaibhreach; bheir thu
nuas *iad* [e].
29 Oir laſaidh tuſa mo lòchran [f], a
Thighearna: agus ſoillſichidh an
Tighearna mo dhorchadas.
30 Oir leatſa ruith mi troimh
bhuidhinn: le m' Dhia leum mi thar
balladh.
31 *A thaobh* Dhé, *tha* a ſhlighe iom-
lan; *tha* focal an Tighearna air a
dhearbhadh: *is* ſgiath e dhoibhſan
uile a chuireas an dòchas ann [g].
32 Oir cò *a's* Dia ann ach an Tigh-
earna? agus cò *a's* carraig ann ach ar
Dia-ne?
33 Is e Dia mo neart *agus mo*
chumhachd [h], agus tha e deanamh
mo ſhlighe iomlan.
34 *Tha e* deanamh mo chos mar
chosan eilde: agus air m'àitibh arda
ſocraichidh e mi.
35 *Tha e* 'g iunnſachadh mo làmh
gu cath, air chor as gu'm briſear
bogha umha *le* m' ghairdeinibh.
36 Agus thug thu dhomh ſgiath
do ſhlàinte: agus rinn do chaoimhneas
mor mi.
37 Rinn thu mo cheum farſaing
fodham, air chor as nach do ſhleamhn-
aich mo chosa.
38 Lean mi mo naimhde, agus rug
mi orra [k]; agus cha do phill mi air
m'ais gus an do chuir mi as doibh.
39 Agus lot mi iad [l], agus cha
'n éirich iad; agus thuit iad fa m'
chosaibh.
40 Oir chrioſlaich thu mi le neart
chum catha: leag thu iadſan a
dh'éirich ſuas a'm' aghaidh, ſios
fodham.
41 Agus mo naimhde thug thu
dhomh air mhuineal; iadſan a
dh'fhuathaich mi, agus ghearr mi as
iad.
42 Sheall iad, agus cha *robh* fear-
ſaoraidh ann; *eadhon* a dh'ionnſuidh
an Tighearna, ach cha do fhreagair e
iad.

43 An

[a] *uiſgeacha dorcha.* [b] *chuir e gu h-ambluadh iad.* [c] *cha do dhealaich mi riu.* [d] *o m' pheacannaibh.* [e] *ach na sùilean arda bheir thu nuas.* [f] *is tu mo lòchran.* [g] *a dh'earbas as.* [h] *a tha 'gam chrioſlachadh le neart.* [k] *ſgrios mi iad.* [l] *chuir mi as doibh, agus lot mi iad.*

43 An sin mhìn-phronn mi iad mar dhuslach na talmhainn; mar chlàbar na sràide bhrùth mi iad, leudaich mi a mach iad

44 Agus shaor thu mi o chomhstri [a] mo shluaigh: ghléidh thu mi gu bhi'm cheann [b] air na cinnich: ni sluagh nach b'aithne dhomh seirbhis dhomh.

45 Strìochdaidh coigrich sìos dhomh [c]: co luath 'sa chluinneas iad, géillidh iad dhomh.

46 Seargaidh coigrich as, agus bithidh eagal orra a mach as an àitibh daingne.

47 Is beo an Tighearna, agus gu ma beannaichte mo charraig-sa: agus air 'ardachadh gu robh Dia, carraig mo shlàinte.

48 Is e Dia a ni dioghaltas air mo shonsa, agus a chuireas sios an sluagh fodham,

49 Agus a bheir a mach mi o m' naimhdibh: agus os an cionn-san a dh'éirich suas a'm' aghaidh thog thu suas mi, o fhear an ainneart shaor thu mi.

50 Uime sin cliùthaichidh mi thu [d], a Thighearna, am measg nan cinneach, agus do t'ainm seinnidh mi.

51 Bheir esan saorsa mòr d'a righ [e], agus nochdaidh e tròcair d'a *aon* ungta féin, do Dhaibhidh, agus d'a shliochd gu bràth.

CAIB. XXIII.

ANIS is iad so briathra deireannach Dhaibhidh. Thubhairt Daibhidh mac Iese, agus thubhairt an duine a chuireadh suas gu h-ard, *aon* ungta Dhé Iacoib, agus salmadair binn Israeil;

2 Labhair spiorad an Tighearna tromhamsa, agus 'fhocal air mo theangaidh.

3 Thubhairt Dia Israeil, labhair carraig Israeil riumsa: *Bithidh esan* a riaghlas os cionn dhaoine ceart, a' riaghladh ann an eagal Dé:

4 Agus mar sholus na maidne *'nuair* a dh'éireas a' ghrian [f], maidne gun neoil; *mar* am feur *a'fàs* as an talamh le dealradh an déigh uisge.

5 Ge nach *'eil* mo thigh mar sin aig Dia, gidheadh rinn e coimhcheangal sìorruidh riumsa, air a shuidheachadh anns gach *ni*, agus a choimhidear [g]: oir *is e* so mo shlàinte uile, agus *mo* mhiann uile, ge nach 'eil e toirt air fàs.

6 Ach *bithidh mic* Bhelial uile mar dhroighionn a thilgear air falbh, a chionn nach glacar le làimh iad.

7 Ach am fear a bheanas riu, dìonar [h] e le h-iarunn, agus le crann sleagha; agus le teine loisgear gu tur iad far am fàs iad [k].

8 *Is* iad so ainmeanna nan daoine treun a *bha* aig Daibhidh: Iasobeam, mac Hachmoni, na cheann air triuir; thog esan a shleagh an aghaidh thri ceud, a mharbhadh *leis* san aon àm [l].

9 Agus na dhéigh-san bha Eleasar mac Dhodo an t-Ahohach, aon do'n triuir dhaoine treun *a bha* maille ri Daibhidh, an uair a thug iad dùbhlan [m] do na Philistich [n] *a* chruinnicheadh an sin gu cath, agus a dh'imich fir Israeil rompa.

10 Dh'éirich esan agus bhuail e na Philistich gus an robh a làmh sgìth, agus gu'n do lean a làmh ris a' chlaidheamh. Agus dh'oibhrich an Tighearna saorsa mhòr air an là sin; agus phill an sluagh na dhéigh a mhàin a dh'fhaobhachadh [o].

11 Agus na dhéigh-san bha Samah, mac Agee, an Hararach: agus chruinnicheadh na Philistich nam buidhinn, far an robh mìr fearainn làn do ghall-pheasair: agus theich an sluagh roimh na Philistich.

12 Ach

[a] *stribh.* [b] *ni thu mi a'm' cheann.* [c] *ni coigrich breug dhomh.* Eabh. [d] *aidichidh mi dhuit, bheir mi buidheachas dhuit.* [e] *Is esan tùr slàinte a righ.* [f] *Agus mar sholus na maidne éiridh Iehobhah a' ghrian.* [g] *cinnteach.* [h] *lìonar.* Eabh. [k] *anns an àite* cheudna; *no àite-tàimh.* Eabh. [l] Is *iad so ainmeanna nan daoine treun a* bha *aig Daibhidh: An Tachmonach a shuidhe anns a' chathair, ceann nan ceannard (b'e so Adino an t-Esneach)* thog e suas a shleagh *an aghaidh ochd ceud, a mharbh esan aon àm.* Faic I. Eachdr. Caib. XI. 1. 11. [m] *muskadh.* [n] *ann am Pas-damin.* I. Eachdr. Caib. XI. r. 13. [o] *chreachadh.*

12 Ach fheas efan am meadhon an
fhearainn, agus dhìon fe e, agus
bhuail e na Philiftich: agus dh'oibrich
an Tighearna faorfa mhòr.
13 Agus chaidh triuir do na deich
ceannarda fichead sìos, agus thàinig
iad an àm an fhogharaidh a dh'ionn-
fuidh Dhaibhidh, do uaimh Adullaim:
agus champaich buidheann nam Phi-
lifteach ann an gleann Rephaim.
14 Agus bha Daibhidh an fin ann
an daingneach, agus *bha* freiceadan
nam Philifteach an fin ann am Bet-
lehem.
15 Agus mhiannaich Daibhidh, a-
gus thubhairt e, O gu'n dthugadh
fear-eigin dhomh deoch uifge o thobar
Bhetlehem, a *tha* làimh ris a' gheata!
16 Agus bhris an triuir dhaoine
treuna fligh troimh fheachd nam
Philifteach, agus tharruing iad uifge
a tobar Bhetlehem, a *bha* làimh ris a'
gheata, agus ghabh iad e, agus thug
iad leo *e* dh'ionnfuidh Dhaibhidh:
gidheadh cha b'àill leis òl deth, ach
thaom e mach e do'n Tighearna.
17 Agus thubhairt e, Gu ma fada
uamfa, a Thighearna, fo a dheanamh:
an *òlainnfe* fuil nan daoine a chaidh
ann an cunnart [a] an anma? uime fin
cha b'àill leis òl deth. Na nithe fin
rinn an triuir dhaoine treuna.
18 Agus bha Abifai bràthair Ioaib,
mac Sheruiah, na cheann air triuir:
agus thog e fuas a fhleagh an aghaidh
tri cheud, a mharbh *e;* agus fhuair e
ainm am meafg thriuir.
19 Do'n triuir nach b'e a b'urram-
aiche? uime fin bha e na cheannard
orra: gidheadh, cha do ràinig e gu
ruig a' *cheud* triuir.
20 Agus *mharbh* Benaiah mac
Iehoiada, mhic duine ghaifgeil, o
Chabfeel, a rinn mòran ghnìomhara,
mharbh efan dithis fhear leòmhanta [b]
do Mhoab: chaidh e sìos mar an
ceudna, agus mharbh e leòmhan ann
am meadhon fluichd an àm fneachd-
aidh.
21 Agus mharbh e Eiphiteach,
duine comharaichte [c]: agus ann an
làimh an Eiphitich bha fleagh; ach
chaidh efan sìos d'a ionnfuidh le luirg,
agus fpìon e 'n t-fleagh a làimh an
Eiphitich, agus mharbh e le 'fhleagh
féin e.
22 Na *nithe* fin rinn Benaiah mac
Iehoiada; agus *bha* ainm aige am
meafg triuir dhaoine treuna.
23 Do'n triuir [d] b'e a b'urramaiche,
ach cha d'ràinig e gu ruig a' *cheud*
triuir: agus chuir Daibhidh e os cionn
a fhreiceadain.
24 *Bha* Afahel bràthair Ioaib am
meafg an deich thar fhichead, Elhan-
an mac Dhodo o Bhetlehem,
25 Samah an Harodach, Elica an
Harodach,
26 Heles am Paltach, Ira mac
Iceis an Tecoach,
27 Abiefer an t-Anetotach, Me-
bunai an Hufatach,
28 Salmon an t-Ahohach, Maharai
an Netophatach,
29 Heleb mac Bhaanah, an Ne-
tophatach, Itai mac Ribai o Ghibeah
chloinn Bheniamin,
30 Benaiah am Piratonach, Hidai
o fhruthaibh Ghaais,
31 Abialbon an t-Arbatach, Af-
mabhet am Barhumach,
32 Eliahba an Saalbonach: do
mhacaibh Iafein, Ionatan,
33 Samah an Hararach, Ahiam
mac Sharair an Hararach,
34 Eliphelet mac Ahafbai, mhic a'
Mhaachataich, Eliam mac Ahitopheil
an Gilonach,
35 Hefrai an Carmeleach, Paarai
an t-Arbach,
36 Igal mac Natain o Shobah, Bani
an Gadach,
37 Selec an t-Amonach, Naharai
am Beerotach, fear iomchar arm
Ioaib, mhic Sheruiah,
38 Ira an t-Itreach, Gareb an
t-Itreach,
39 Uriah an Hiteach: feachd deug
thar fhichead uile.

CAIB. XXIV.

AGUS a rìs las fearg an Tighearn
an aghaidh Ifraeil, agus bhrof-
naich e [e] Daibhidh nan aghaidh, a
ràdh,

[a] *cuntart.* [b] *treun mar leòmhain.* [c] *mòr, tlachdmhor.*
[d] *Do'n deich thar fhichead.* [e] *agus fheas Satan an aghaidh Ifrail agus bhrofnaich e,* I. Eachdr. Caib. XXI. r. 1.

ràdh, Falbh, gabh àireamh Ifracil agus Iudah.

2 Oir thubhairt an righ ri Ioab ceannard an t-flòigh, a *bha* maille ris, Imich a nis air feadh uile threubhan Ifraeil, o Dhan eadhon gu Beer-feba, agus gabh [a] àireamh an t-fluaigh, a chum gu'm bi fios àireimh an t-fluaigh agam.

3 Agus thubhairt Ioab ris an righ, A nis gu'n cuireadh an Tighearna do Dhia ris an t-fluagh (ge b'e ciod an t-àireamh a th'ann diubh) fathaft a' cheud uibhir, agus gu'm faiceadh sùilean mo thighearn an righ e: ach c'ar fon a tha mo thighearn an righ a' gabhail tlachd anns an ni fo?

4 Gidheadh, bhuadhaich focal an righ an aghaidh Ioaib, agus an aghaidh cheannardan an t-flòigh: agus chaidh Ioab agus ceannardan an t-flòigh a mach a fianuis an righ, a ghabhail àireimh fluaigh Ifraeil.

5 Agus chaidh iad a nunn thar Iordan, agus champaich iad ann an Aroer, air taobh mu dheas a' bhaile, a *tha* an am meadhon aibhne [b] Ghad, agus leth ri Gafer.

6 An fin thàinig iad gu Gilead, agus gu fearann iochdarach [c] Hodfi; agus thàinig iad gu Dan-iaan, agus mu'n cuairt gu Sidon.

7 Agus thàinig iad gu daingneach Thiruis, agus gu uile bhailtibh nan Hibheach, agus nan Canaanach: agus chaidh iad a mach do'n taobh mu dheas do Iudah, gu Beer-feba.

8 Agus an uair a chaidh iad air feadh na tìre uile, thàinig iad gu h-Ierufalem an ceann naoi mìos agus fhichead là.

9 Agus thug Ioab fuas làn àireamh [d] an t-fluaigh do'n righ: agus bha ann do Ifrael ochd ceud mìle fear gaifgeal a tharruing claidheamh, agus do fhearaibh Iudah cùig ceud mìle fear.

10 Agus bhuail cridhe Dhaibhidh e, an déigh dha'n fluagh àireamh: agus thubhairt Daibhidh ris an Tighearna, Pheacaich mi gu mòr anns an ni a rinn mi: agus a nis, a Thighearna, guidheam ort, thoir air cionta do fheirbhifich dol feachad, oir rinn mi gu ro-amaideach.

11 Agus dh'éirich Daibhidh anns a' mhaduinn, agus thàinig focal an Tighearna dh'ionnfuidh an fhàidh Ghad, fir-feallaidh Dhaibhidh, ag ràdh,

12 Falbh agus abair ri Daibhidh, Mar fo tha'n Tighearn ag ràdh, Tha mi cur thri *nithe* fa d' chomhair: roghnaich dhuit féin aon diubh, a chum gu'n dean mi dhuit *e*.

13 Agus thàinig Gad a dh'ionnfuidh Dhaibhidh, agus dh'innis e dha, agus thubhairt e ris, An dthig tri [e] bliadhna gortaidh ort ann ad thìr? no an teich thu tri mìofan roimh do naimhdibh, agus iad an tòir ort? no am bi tri laithean plàigh ann ad thìr? A nis fmuainich, agus faic ciod a fhreagaireas mi dhafan a chuir uaith mi.

14 Agus thubhairt Daibhidh ri Gad, Tha mi ann an teinn [f] mhòir: tuiteamaid a nis ann an làimh an Tighearna, oir is lìonmhor a thròcairean, ach ann an làimh duine na tuiteam.

15 Agus chuir an Tighearn plàigh air Ifrael, o'n mhaduinn eadhon gu ruig an t-àm fuidhichte [g]: agus bhàfaich do'n t-fluagh o Dhan gu Beerfeba, deich agus tri fichead mìle fear.

16 Agus an uair a chuir an t-aingeal a mach a làmh gu h-Ierufalem g'a fgrios, ghabh an Tighearn aithreachas a thaobh an uilc, agus thubhairt e ris an aingeal a fgrios an fluagh, *Is* leòr e: cum a nis air do làimh. Agus bha aingeal an Tighearna làimh ri urlar-bualaidh Araunah an Iebufaich.

17 Agus labhair Daibhidh ris an Tighearna 'nuair a chunnaic e 'n t-aingeal a bhuail an fluagh, agus thubhairt e, Feuch, is mife a pheacaich, agus is mife rinn gu h-aingidh; ach na caoraich fin, ciod a rinn iad? bitheadh do làmh, guidheam ort, a'm' aghaidh-fa, agus an aghaidh tighe m'athar.

18 Agus

[a] *gabhaibh.* [b] *frutha, glinne.* [c] *Tachtim.* Eabh. [d] *uibhir àireimh.* [e] *feachd.* Faic. I. Eachdr. Caib. XXI. r 12. [f] *teanntachd, airc.* [g] *àm a' choimhchruinneachaidh.*

18 Agus thàinig Gad a dh'ionnſuidh Dhaibhidh air an là ſin, agus thubhairt e ris, Gabh [a] ſuas, tog altair do'n Tighearn ann an urlar-bualaidh Araunah an Iebuſaich.

19 Agus chaidh Daibhidh ſuas a rèir focail Ghad, mar a dh'àithn an Tighearna.

20 Agus dh'amhairc Araunah, agus chunnaic e'n righ agus a ſheirbhiſich a' teachd air an aghaidh d'a ionnſuidh: agus chaidh Araunah a mach, agus chrom ſe e féin do'n righ air 'aghaidh gu làr.

21 Agus thubhairt Araunah, C'ar ſon a thàinig mo thighearn an righ a dh'ionnſuidh a ſheirbhiſich? Agus thubhairt Daibhidh, a cheannach uait an urlair-bhualaidh, a thogail altarach do'n Tighearna, a chum gu'n caiſgear a' phlàigh o'n t-ſluagh.

22 Agus thubhairt Araunah ri Daibhidh, Gabhadh, agus ìobradh [b] mo thighearn an righ an *ni ſin a bhios* maith na ſhùilibh: feuch, *tha* buar *an ſo* chum ìobairt-loiſgte, agus innealan-bualaidh, agus acfuinn *eile* a bhuineas do'n bhuar air ſon connaidh.

23 Iad ſin uile thug Araunah do'n righ [c]. Agus thubhairt Araunah ris an righ, Gu'n gabhadh an Tighearna do Dhia riut.

24 Agus thubhairt an righ ri Araunah, Ni h-eadh; ach gu deimhin ceannaichidh mi uait *iad* air luach, agus cha'n ìobair mi ìobairtean-loiſgte do'n Tighearna mo Dhia do'n ni ſin a gheibh mi a naſgaidh. Agus cheannaich Daibhidh an t-urlar-bualaidh, agus am buar, air leth-cheud ſecel airgid.

25 Agus thog Daibhidh an ſin altair do'n Tighearna, agus dh'ìobair e ìobairte-loiſgte, agus ìobairte-sìth: agus bha'n Tighearna réidh ris an tìr, agus choiſgeadh a' phlàigh o Iſrael.

[a] *Rach.* [b] *ofraileadh.* [c] *thug Araunah mar righ do'n righ.*

Ceud

Ceud Leabhar nan RIGH,

d'an ainm gu coitcheann,

Treas Leabhar nan RIGH.

CAIB. I.

ANIS bha righ Daibhidh sean,
agus air teachd *air aghaidh* ann
am bliadhnaibh; agus chòmhdaich
iad e le h-eudach, gidheadh cha do
ghabh e blàthas.
2 Uime sin thubhairt a sheirbhis-
ich [a] ris, Iarradh iad do 'm thighearn
an righ gruagach *a ta* na h-òigh, agus
seasadh i am fianuis an righ, agus
eiridneadh i e, agus luidheadh i ann
ad uchd, a chum gu'n gabh an tigh-
earna mo righ blàthas.
3 Uime sin dh'iarr iad gruagach
mhaiseach air feadh uile chrìoch Isra-
eil, agus fhuair iad Abisag, Ban-suna-
mach, agus thug iad i a dh'ionnsuidh
an righ.
4 Agus bha a' ghruagach ro-mhais-
each, agus dh'eiridinn i an righ, agus
fhritheil i dha; ach cha d'aithnich an
righ i.
5 An sin dh'ardaich Adoniah mac
Hagit e féin, ag ràdh, Rìoghaichidh
mise: agus dh'ulluich e dha féin
carbaid, agus marc-shluagh, agus leth-
cheud fear a ruith roimhe.
6 Agus cha do chuir 'athair doil-
gheas [b] air uair sam bith [c], ag ràdh,
C'arson a rinn thu mar so? Agus *bha*
esan mar an ceudna ro-mhaiseach na
dhealbh, agus rugadh e an déigh Ab-
saloim.
7 Agus bha comhluadar [d] aige ri
Ioab mac Sheruiah, agus ri Abiatar
an sagart: agus a' leantuinn Adoniah,
rinn iad còmhnadh *ris*.
8 Ach cha robh Sadoc an sagart,
agus Benaiah mac Iehoiada, agus Na-
tan am fàidh, agus Simei, agus Rei,
agus na fir threuna, a *bhuineadh* do
Dhaibhidh, maille ri Adoniah.
9 Agus dh'ìobair Adoniah caoraich
agus buar, agus *spréidh* reamhar làimh
ri cloich Shohelet, a *tha* làimh ri En-
rogel: agus thug e cuireadh d'a
bhràithribh uile, mic an righ, agus do
fhearaibh Iudah uile, seirbhisich an
righ.
10 Ach do Natan am fàidh, agus
do Bhenaiah, agus do na fir threuna,
agus do Sholamh a bhràthair, cha
d'thug e cuireadh.
11 Uime sin labhair Natan ri
Batseba màthair Sholaimh, ag ràdh,
Nach cuala tu gu bheil Adoniah
mac Hagit a' rìoghachadh, agus cha
'n'eil fhios aig ar tighearna Daibhidh
air?
12 A nis ma ta, leig dhomhsa,
guidheam ort, comhairle a thabh-
airt ort, a chum as gu'n saor thu
t'anam

[a] *a mhuinntir.* [b] *mìothlachd.* [c] *o a laithibh.* Eabh.
[d] *còmhradh; focail.* Eabh.

t'anam féin, agus anam Sholaimh do mhic.

13 Imich, agus gabh a steach gu righ Daibhidh, agus abair ris, Nach d'thug thusa, mo thighearn, a righ, mionnan do d'bhanoglaich, ag ràdh, Gu deimhin rìoghaichidh Solamh do mhac a'm' dhéigh-sa, agus suidhidh e air mo righ-chaithir-sa? c'ar son ma seadh a tha Adoniah a' rìoghachadh?

14 Feuch, am feadh a bhios tusa fathast a' labhairt an sin ris an righ, thig mise mar an ceudna steach a'd' dhéigh [a], agus daingnichidh [b] mi do bhriathra.

15 Agus chaidh Batseba a steach a dh'ionnsuidh an righ, do'n t-seòmar: agus bha'n righ ro-shean, agus shritheil Abisag a' Bhan-sunamach do'n righ.

16 Agus chrom Batseba sìos [c], agus rinn i ùmhlachd do'n righ. Agus thubhairt an righ, Ciod a's àill leat?

17 Agus thubhairt ise ris, Mo thighearna, mhionnaich thu air an Tighearna do Dhia do d'bhanoglaich, *ag ràdh*, Gu cinnteach rìoghaichidh Solamh do mhac a'm' dhéigh-sa, agus suidhidh e air mo righ-chaithir-sa:

18 Agus a nis feuch, tha Adoniah a' rìoghachadh, agus agad-sa, mo thighearn, a righ, cha 'n'eil fios *air*.

19 Agus dh'ìobair e buar, agus *spréidh* reamhar, agus caoraich gu lìonmhor, agus thug e cuireadh do mhic an righ uile, agus do Abiatar an sagart, agus do Ioab ceannard an t-slòigh; ach do t'òglach Solamh cha d'thug e cuireadh.

20 Agus a nis mo thighearn, a righ, *tha* sùilean Israeil uile ort, a chum gu'n innseadh tu dhoibh cò a shuidheas air righ-chaithir mo thighearn an righ na dhéigh féin.

21 Oir, *mur innis*, tarlaidh 'nuair a choidleas mo thighearn an righ maille r'a aithrichibh, gu'm measar mise agus mo mhac Solamh 'nar ciontaich.

22 Agus feuch, am feadh a bha i fathast a' labhairt ris an righ, thàinig Natan am fàidh mar an ceudna a steach.

23 Agus dh'innis iad do'n righ, ag ràdh, Feuch, Natan am fàidh. Agus an uair a thàinig e steach am fianuis an righ, chrom se e féin do'n righ le 'aghaidh gu làr.

24 Agus thubhairt Natan, Mo thighearn, a righ, an d'thubhairt thusa, Rìoghaichidh Adoniah a'm' dhéigh sa, agus suidhidh esan air mo righ-chaithir?

25 Oir chaidh e sìos an diugh, agus dh'ìobair e buar, agus *spréidh* reamhar, agus caoraich gu lìonmhor; agus thug e cuireadh do mhic an righ uile, agus do cheannardaibh an t-slòigh, agus do Abiatar an sagart; agus feuch, *tha* iad ag itheadh agus ag òl na làthair, agus their iad, Gu ma fada beo an righ Adoniah.

26 Ach dhomhsa, *eadhon* dhomhsa do sheirbhiseach, agus do Shadoc an sagart, agus do Bhenaiah mac Iehoiada, agus do t'òglach Solamh cha d'thug e cuireadh.

27 An ann le m' thighearn an righ a rinneadh an ni so, agus nach d'thug thu fios do d' sheirbhiseach cò a shuidheas air righ-chaithir mo thighearn an righ na dhéigh féin?

28 Agus fhreagair righ Daibhidh, agus thubhairt e, Gairmibh a'm ionnsuidh Batseba. Agus thàinig i an làthair an righ, agus sheas i am fianuis an righ.

29 Agus mhionnaich an righ, agus thubhairt e, *Mar* is beo an Tighearna, a shaor m'anam as gach airc [d]:

30 Amhuil mar a mhionnaich mi dhuit air an Tighearna Dia Israeil, ag ràdh, Gu deimhin rìoghaichidh do mhac Solamh a'm' dhéigh-sa, agus suidhidh e air mo righ-chaithir a'm' àite: gu cinnteach is ann mar sin a ni mi an diugh.

31 An sin chrom Batseba sìos le h-aghaidh gu làr, agus rinn i ùmhlachd do'n righ, agus thubhairt i, Maireadh mo thighearna righ Daibhidh gu bràth.

32 Agus thubhairt righ Daibhidh,

[a] *a'd' dhiaigh.* [b] *coimhlionaidh.* [c] *dh'aom Batseba a ceann.*
[d] *teanntachd.*

Gairmibh am' ionnſuidh Sadoc an
ſagart, agus Natan am fàidh, agus
Benaiah mac Iehoiada. Agus thàinig
iad am fianuis an righ.

33 Agus thubhairt an righ riu,
Thugaibh leibh ſeirbhiſich bhur tigh-
earna, agus thugaibh air Solamh mo
mhac marcachd air mo mhuileid féin,
agus thugaibh sìos e gu Gihon.

34 Agus ungadh Sadoc an ſagart,
agus Natan am fàidh, an ſin e na righ
air Iſrael: agus séidibhſe an trom-
paid [a], agus abraibh, Gu ma fada beò
righ Solamh.

35 An ſin thig ſibh a nìos na
dhéigh, agus thig eſan, agus ſuidhidh
e air mo righ-chaithir-ſa, agus riogh-
aichidh e a'm' àite: agus dh'àithn
miſe e bhi na cheannard air Iſrael,
agus air Iudah.

36 Agus fhreagair Benaiah mac
Iehoiada an righ, agus thubhairt e,
Amen [b]: gu'n abradh an Tighearna
Dia mo thighearn an righ mar ſin
cuideachd.

37 Mar a bha'n Tighearna maille
ri m' thighearn an righ, gu ma
h-amhluidh bhios e le Solamh, agus
gu'n *ardaicheadh* [c] e a *righ-chaithir*
thar *righ-chaithir* mo thighearna righ
Daibhidh.

38 Agus chaidh Sadoc an ſagart,
agus Natan am fàidh, agus Benaiah
mac Iehoiada, agus na Ceretich, agus
na Peletich sìos, agus thug iad air So-
lamh marcachd air muileid righ Dai-
bhidh; agus thug iad e gu Gihon.

39 Agus thug Sadoc an ſagart corn [d]
olaidh as a' phàilliun, agus dh'ung
e Solamh, agus ſhéid iad an trompaid,
agus thubhairt an ſluagh uile, Gu ma
fada beò righ Solamh.

40 Agus thàinig an ſluagh uile a
nìos na dhéigh, agus *bha'n* ſluagh a'
piobaireachd le piobaibh, agus a' dean-
amh gairdeachais le mòr ghairdeachas,
air chor as gu'n do reubadh an talamh
le'n fuaim.

41 Agus chual' Adoniah, agus na
h-aoidhean [e] uile a *bha* maille ris e,
'nuair a ſguir iad a dh'itheadh: agus
an uair a chual' Ioab fuaim na trom-
paide, thubhairt e, C'ar ſon a tha
fuaim ſo a' bhaile, *agus e* làn coimh-
ghàir [f]?

42 Agus am feadh a bha eſan fa-
thaſt a' labhairt, feuch, thàinig Ionatan
mac Abiatair an t-ſagairt, agus thu-
bhairt Adoniah *ris*, Thig a ſteach, oir
is duine treun [g] thu, agus bheir thu
ſgeul maith leat.

43 Agus fhreagair Ionatan, agus
thubhairt e ri Adoniah, Gu deimhin
rinn ar tighearna righ Daibhidh So-
lamh na righ.

44 Agus chuir an righ leis Sadoc
an ſagart, agus Natan am fàidh, agus
Benaiah mac Iehoiada, agus na Cere-
tich, agus na Peletich; agus thug iad
air marcachd air muileid an righ.

45 Agus dh'ung Sadoc an ſagart,
agus Natan am fàidh e na righ ann
an Gihon: agus thàinig iad a nìos as
ſin a' deanamh gairdeachais, air chor
as gu bheil am baile ri coimh-ghàir [h]:
is i ſo an fhuaim a chuala ſibh.

46 Agus mar an ceudna tha So-
lamh na ſhuidhe air caithir na riogh-
achd.

47 Agus os barr, thàinig ſeirbhiſ-
ich an righ a bheannachadh ar tigh-
earna righ Daibhidh, ag ràdh, Gu'n
de nadh Dia ainm Sholaimh ni's fearr
na t'ainm-ſa, agus gu'n ardaicheadh e
a righ-chaithir os cionn do righ-chai-
thir-ſa: agus chrom an righ e féin
air an leabaidh.

48 Agus cuideachd mar ſo thu-
bhairt an righ, Gu ma beannaicht' an
Tighearna Dia Iſraeil, a thug an diugh
duine a ſhuidhe air mo righ-chaithir,
agus mo ſhùilean féin 'ga fhaicinn.

49 Agus ghlac uamhas [k] na h-aoidh-
ean uile a *bha* maille ri Adoniah, agus
dh'éirich iad, agus dh'imich iad gach
fear air a ſhlighe féin.

50 Agus bha eagal air Adoniah
roimh Sholamh, agus dh'éirich e,
agus chaidh e, agus ghabh e greim do
adharcaibh na h-altarach.

51 Agus dh'innſeadh do Sholamh,
ag ràdh, Feuch, tha eagal air Ado-
niah roimh righ Solamh, agus feuch,
ghabh e greim a dh'adharcaibh na
h-altarach,

[a] *adharc, ſtoc.* [b] *Bitheadh e mar ſin.* [c] *gu'm meudaicheadh.*
[d] *adharc.* [e] *an luchd-cuiridh.* [f] *congbàir.* [g] *gaiſgeil, ſogbainteach.*
[h] *air a lìonadh le fuaim.* [k] *uambann.*

a-altarach, ag ràdh, Thugadh righ Solamh a mhionnan domhsa an diugh, nach marbh e a sheirbhiseach leis a' chlaidheamh.

52 Agus thubhairt Solamh, Ma bhios e na dhuine maith[a], cha tuit ròineag d'a fholt gu làr; ach ma gheibhear olc ann, cuirear gu bàs e.

53 Agus chuir righ Solamh *fios air*, agus thug iad air teachd a nuas o'n altair, agus thàinig e agus chrom se e féin do righ Solamh. Agus thubhairt Solamh ris, Imich do d' thigh.

C A I B. II.

ANIS thàinig laithean Dhaibhidh am fagus anns am faigheadh e bàs, agus dh'àithn e do Sholamh a mhac, ag ràdh,

2 Tha mise a' dol air slighe na talmhainn uile: bi thusa uime sin làidir, agus dean gu fearail:

3 Agus coimhid cùram an Tighearna do Dhé, a' dh'imeachd na shlighibh, a ghleidheadh a reachdan, agus 'àitheantan, agus a bhreitheanais, agus a theisteis, mar a tha e sgrìobhta ann an lagh Mhaois, a chum gu'n soirbhich leat[b] anns gach *ni* a ni thu, agus anns gach *àite* d'an tionndaidh thu thu féin.

4 Chum gu'n daingnich an Tighearn 'fhocal féin, a labhair e a m' thaobh-sa, ag ràdh, Ma choimhideas do chlann an slighe, gu imeachd a'm' fhianuis-sa ann am firinn, le'n uile chridhe, agus le'n uile anam, cha bhi (ars esan) duine dh'easbhuidh ort[c] air righ-chaithir Israeil.

5 Os barr, tha fhios agad ciod a rinn Ioab mac Sheruiah ormsa, agus ciod a rinn e air dà cheannard sloigh Israeil, air Abner mac Ner, agus air Amasa mac Ieteir; oir mharbh e iad, agus dhòirt e fuil a' chogaidh anns an t-sith, agus chuir e fuil a' chogaidh air a chrios a *bha* m'a leasraidh, agus air a bhrògaibh a *bh*'air a chosaibh.

6 Dean thusa ma ta a réir do ghliocais, agus na leig le 'cheann liath dol sìos do'n uaigh ann an sìth.

7 Ach nochd caoimhneas do mhacaibh Bharsillai a' Ghileadaich, agus bitheadh iad am measg an dream a dh'itheas aig do bhord; oir is ann mar so a thàinig iad a m' ionnsuidh-sa 'nuair a theich mi roimh Absalom do bhràthair.

8 Agus feuch, maille riut *tha* Simei, mac Ghera, Beniamineach o Bhahurim, a mhallaich mise le mallachadh geur, anns an là san deachaidh mi do Mhahanaim: ach thàinig e a nuas a'm' choinneamh gu Iordan, agus mhionnaich mi dha air an Tighearna, ag ràdh, Cha chuir mi gu bàs leis a' chlaidheamh thu.

9 A nis ma ta na meas neo-chiontach e[d]: oir *is* duine glic thu, agus tha fhios agad ciod is còir dhuit a dheanamh ris; ach thoir a cheann liath sìos do'n uaigh le fuil.

10 An sin choidil Daibhidh maille r'a aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh e ann am baile Dhaibhidh.

11 Agus *b'iad* na laithean a rìoghaich Daibhidh os cionn Israeil dà fhichead bliadhna: ann an Hebron rìoghaich e seachd bliadhna, agus ann an Ierusalem rìoghaich e tri bliadhna deug thar fhichead.

12 An sin shuidh Solamh air righ-chaithir Dhaibhidh 'athar, agus dhaingnicheadh a rìoghachd gu mòr.

13 Agus thàinig Adoniah mac Hagit gu Batseba màthair Sholaimh, agus thubhairt i, An ann an sìth a tha thu teachd? agus thubhairt esan, Ann an sìth.

14 Thubhairt e os barr, Tha ni agam ri ràdh riut. Agus thubhairt ise, Abair romhad.

15 Agus thubhairt esan, Tha fhios agad gu'm bu leamsa an rìoghachd, agus *gu*'n do chuir Israel uile an aghaidh orm, chum gu'n rìoghaichinn: gidheadh, thionndadhadh an rìoghachd mu'n cuairt, agus fhuair mo bhràthair i; oir bu leis-san o'n Tighearn i.

16 Agus a nis, aon athchuinge *tha* mi 'g iarraidh ort, na diùlt mi[e]. Agus thubhairt ise ris, Abair romhad.

17 Agus thubhairt esan, Labhair, guidheam ort, ri Solamh an righ (oir cha diùlt e thusa) gu'n dthugadh e dhomh

[a] *subhailceach, deagh-bheusach.* [b] *gu'n dean thu gu glic.* [c] *cha ghearrar as uait duine.* Eabh. [d] *na leig as gun dioghaltas e.* [e] *na tabhair orm m'aghaidh thionndadh uait.* Eabh.

dhomh Abisag a' Bhan-sunamach na mnaoi.

18 Agus thubhairt Batseba, Romhaith; labhraidh mise air do shon ris an righ.

19 Chaidh Batseba uime sin a dh'ionnsuidh righ Solamh, a labhairt ris air son Adoniah. Agus dh'éirich an righ suas na coinneamh, agus chrom se e féin d'i, agus shuidh e air a righ-chaithir, agus thug e fa'near caithir [a] a chur sìos do mhàthair an righ; agus shuidh i air a làimh dheis.

20 An sin thubhairt i, *Tha* mi 'g iarraidh aon athchuinge bige ort, na diùlt mi, *guidheam ort*. Agus thubhairt an righ rithe, Iarr, a mhàthair, oir cha diùlt mi thu.

21 Agus thubhairt ise, Thugar Abisag a' Bhan-sunamach do Adoniah do bhràthair na mnaoi.

22 Agus fhreagair righ Solamh, agus thubhairt e r'a mhàthair, Agus c'ar son a dh'iarras tu Abisag a' Bhan-sunamach do Adoniah? iarr dha an rìoghachd mar an ceudna (oir is e mo bhràthair a's sine e) eadhon dha-san, agus do Abiatar an sagart, agus do Ioab mac Sheruiah.

23 An sin mhionnaich righ Solamh air an Tighearn, ag ràdh, Gu'n deanadh Dia mar sin riumsa agus tuilleadh mar an ceudna, mur ann an aghaidh 'anma [b] féin a labhair Adoniah am focal so.

24 A nis uime sin, *mar* is beo an Tighearna, a dhaingnich mise, agus a chuir a'm' shuidhe mi air righ-chaithir Dhaibhidh m'athar, agus a rinn tigh dhomh, mar a labhair e [c], cuirear Adoniah gu bàs an diugh.

25 Agus chuir righ Solamh le làimh Bhenaiah mhic Iehoiada, agus bhuail [d] e air, air chor as gu'n d'fhuair e bàs.

26 Agus ri Abiatar an sagart thubhairt an righ, Imich gu Anatot, a dh'ionnsuidh t'fhearainn féin, oir *tha* thu toilltinn a' bhàis [e]: ach an diugh cha mharbh mi thu, a chionn gu'n do ghiùlain thu airc an Tighearna Iehobhah am fianuis Dhaibhidh m'athar, agus a chionn gu'n d'fhuiling thu àmhghar anns gach *ni* san d'fhuiling m'athair àmhghar.

27 Mar so thilg Solamh a mach Abiatar o bhi na shagart do'n Tighearna, a choimhlionadh focail an Tighearna, a labhair e do thaobh tighe Eli ann an Siloh.

28 An sin thàinig tuairesgeul gu Ioab (oir thionndaidh Ioab an déigh Adoniah, ge [f] nach do thionndaidh e 'n déigh Absaloim) agus theich Ioab gu pàilliun an Tighearna, agus ghabh e greim a dh'adharcaibh na h-altarach.

29 Agus dh'innseadh do righ Solamh gu'n do theich Ioab gu pàilliun an Tighearna, agus gu'n robh e làimh ris an altair [g], An sin chuir Solamh uaith Benaiah mac Iehoiada, ag ràdh, Falbh, buail air.

30 Agus thàinig Benaiah gu pàilliun an Tighearna, agus thubhairt e ris, Mar so tha'n righ ag ràdh, Thig a mach. Agus thubhairt esan, Cha *dthéid*, ach gheibh mi bàs an so. Agus thug Benaiah sgeul air ais a dh'ionnsuidh an righ, ag ràdh, mar so labhair Ioab, agus mar so fhreagair e mi.

31 Agus thubhairt an righ ris, Dean mar a labhair e, agus buail air, agus adhlaic e, a chum as gu'n dthoir thu air falbh an fhuil neo-chiontach, a dhòirt Ioab, uamsa agus o thigh m'athar.

32 Agus pillidh [h] an Tighearna 'fhuil air a cheann féin, do bhrìgh gu'n do bhuail e air dithis dhaoine a b'ionraice agus a b'fhearr na e féin, agus *gu'n* do mharbh e leis a' chlaidheamh iad, gun fhios do m' athair Daibhidh, *eadhon* Abner mac Ner, ceannard flòigh Israeil, agus Amasa mac Ieteir ceannard flòigh Iudah.

33 Pillidh uime sin am fuilsan air ceann Ioaib, agus air ceann a shliochd gu bràth: ach aig Daibhidh, agus aig a shliochd, agus aig a thigh, agus aig

[a] *righ-chaithir.* [b] *a bheatha.* [c] *gheall e.* [d] *leum.* [e] *Is duine buailteach do'n bhàs thu.* [f] *giodh.* Eir. [g] *agus feuch, e làimh ris an altair.* Eabh. [h] *dìolaidh.*

aig a righ-chaithir, bithidh sìth gu bràth o'n Tighearna.

34 Agus chaidh Benaiah mac Iehoiada suas, agus bhuail e air, agus mharbh se e: agus dh'adhlaiceadh e na thigh féin anns an fhàsach.

35 Agus chuir an righ Benaiah mac Iehoiada na àit os cionn an t-slòigh: agus Sadoc an sagart chuir an righ an àit Abiatair.

36 Agus chuir an righ *fios*, agus ghairm e air Simei, agus thubhairt e ris, Tog dhuit féin tigh ann an Ierusalem, agus gabh còmhnuidh an sin, agus na falbh a mach as sin taobh sam bith [a].

37 Oir tachairidh air an là anns an dthéid thu mach, agus an gabh thu thar sruth Chidroin, gu'm bi fios gu cinnteach agad gu'm faigh thu gu deimhin bàs: bithidh t'fhuil air do cheann féin.

38 Agus thubhairt Simei ris an righ, *Is* maith an ràdh [b]: mar a labhair mo thighearn an righ, is amhluidh a ni do sheirbhiseach. Agus ghabh Simei còmhnuidh ann an Ierusalem mòran do laithibh.

39 Agus thachair an ceann thri bliadhna, gu'n do theich dà sheirbhiseach le Simei dh'ionnsuidh Achis, mhic Mhaachah, righ Ghat: agus dh'innis iad do Shimei, ag ràdh, Feuch, *tha* do sheirbhisich ann an Gat.

40 Agus dh'éirich Simei, agus chuir e diollaid air 'asail [c], agus chaidh e do Ghat a dh'ionnsuidh Achis, a dh'iarraidh a sheirbhiseacha: agus dh'fhalbh Simei, agus thug e leis a sheirbhisich o Ghat.

41 Agus dh'innseadh do Sholamh gu'n deachaidh Simei o Ierusalem gu Gat, agus gu'n d'thàinig e air ais.

42 Agus chuir an righ *fios*, agus ghairm e air Simei, agus thubhairt e ris, Nach d'thug mise ortsa mionnachadh air an Tighearna, agus nach d'thug mi fianuis a'd' aghaidh, ag ràdh, Air an là anns an dthéid thu mach, agus am falbh thu taobh sam bith, biodh fios gu cinnteach agad gu'm faigh thu gu deimhin bàs? agus thubhairt thu rium, *Is* maith am focal *a* chuala mi.

43 C'ar son ma ta nach do ghléidh thu mionnan an Tighearna, agus an àithne a dh'àithn mise dhuit?

44 Thubhairt an righ cuideachd ri Simei, Is aithne dhuit féin gach uile olc, air am fiosrach do chridhe, a rinn thu air Daibhidh m'athair-sa: uime sin phill [d] an Tighearna t'olc air do cheann féin.

45 Ach *bithidh* righ Solamh beannaichte, agus bithidh righ-chaithir Dhaibhidh daingean am fianuis an Tighearna gu bràth.

46 An sin dh'àithn an righ do Bhenaiah mac Iehoiada; agus chaidh e mach agus bhuail e air, agus fhuair e bàs. Agus dhaingnicheadh an rioghachd ann an làimh Sholaimh.

CAIB. III.

AGUS rinn Solamh cleamhnas ri Pharaoh righ na h-Eiphit, agus ghabh e nighean Pharaoh, agus thug e i do bhaile Dhaibhidh, gus an do chuir e crioch air a thigh féin a thogail, agus tigh an Tighearna, agus balladh Ierusaleim m'an cuairt.

2 Ach [e] dh'iobair an sluagh air àitibh arda [f], do bhrìgh nach do thogadh tigh do ainm an Tighearna gus na laithibh sin.

3 Agus ghràdhaich Solamh an Tighearna, ag imeachd ann an orduighibh Dhaibhidh 'athar: ach [g] ann an àitibh arda dh'iobair e agus loisg e tùis.

4 Agus chaidh an righ do Ghibeon a dh'iobradh an sin, oir *b*'e sin am mòr àit ard: mìle iobairt-loisgte thug Solamh suas air an altair sin.

5 Ann an Gibeon thaisbein an Tighearn e féin do Sholamh [h] ann an aisling na h-oidhche, agus thubhairt Dia, Iarr ciod is àill leat mi thabhairt duit.

6 Agus thubhairt Solamh, Nochd [k] thu do t'òglach Daibhidh m'athair caoimhneas mòr, a réir mar a dh'imich e a't' fhianuis ann am firinn, agus ann

[a] *a nunn no a nall.* Eabh. [b] *am focal.* [c] *a asail.* [d] *pillidh.* [e] *A mbàin.* [f] *air ardaibh, tulaichibh.* [g] *a mbàin.* [h] *chunnças an Tighearna le Solamh.* Eabh. [k] *Rinn.* Eabh.

ann an ionracas, agus ann an treibh-
dhireas cridhe maille riut; agus
ghléidh thu dha an caoimhneas mòr
so, gu'n d'thug thu dha mac a shuidhe
air a righ-chaithir, mar *a tha e* 'n
diugh.
7 Agus a nis a Thighearna mo
Dhia, rinn thu t'oglach na righ an
àite Dhaibhidh m'athar; agus mise
a'm' leanabh[a] beag, do nach aithne
dol a mach no teachd a steach.
8 Agus *tha* t'òglach am meadhon
do shluaigh a thagh thu, sluagh
lionmhor, nach 'eil e 'n comas àireamh
no mheas aig an lionmhoireachd.
9 Thoir uime sin do t'òglach cridhe
tuigseach a thoirt breth air do shluagh,
gu dealachadh chur[b] eadar am maith
agus an t-olc; oir cò a's urrainn breth
a thabhairt air do shluagh so a tha co
mòr?
10 Agus bha e na ni taitneach leis
an Tighearna, gu'n d'iarr Solamh an
ni so.
11 Agus thubhairt Dia ris, A
chionn gu'n d'iarr thu an ni so, agus
nach d'iarr thu dhuit féin saoghal
fada[c], agus nach d'iarr thu dhuit féin
saibhreas, agus nach d'iarr thu anam
do naimhdean, ach gu'n d'iarr thu
dhuit féin tuigse a dheanamh breith-
eanais.
12 Feuch, rinn mise a réir do
bhriathra: feuch, thug mi dhuit
cridhe glic agus tuigseach, air chor
as nach robh neach air bith romhad
cosmhuil riut, agus nach mò a
dh'éireas a'd' dhéigh neach air bith
cosmhuil riut.
13 Agus mar an ceudna thug mi
dhuit an ni nach d'iarr thu, araon[d]
saibhreas agus cliu, air chor as nach
bi duine cosmhuil riut am measg nan
righ rè do làithean uile.
14 Agus ma dh'imicheas tu ann mo
shlighibh-sa, a ghleidheadh mo reachd-
an, agus m'àitheanta, mar a dh'imich
Daibhidh t'athair, an sin ni mi do
laithean fada.
15 Agus mhosgail Solamh, agus
feuch, *b'aisling a bh'ann:* agus thàinig
e gu h-Ierusalem, agus sheas e am
fianuis àirc coimhcheangail an Tigh-
earn, agus thug e suas iobairtean-
loisgte, agus dh'iobair e iobairtean-
sìth, agus rinn e cuirm d'a sheirbhis-
ich uile.
16 An sin thàinig dithis bhan *a bha*
nan striopachaibh a dh'ionnsuidh an
righ, agus sheas iad na làthair.
17 Agus thubhairt bean diubh, O
mo thighearna, tha mise agus a' bhean
so a gabhail còmhnuidh ann an aon
tigh, agus dh'aiseadadh mise[e] maille
rithe san tigh.
18 Agus air an treas la 'n déigh
dhomhsa bhi air m'aisead, dh'aiseadadh
a' bhean so mar an ceudna, agus *bha*
sinn cuideachd; cha *robh* coigreach
sam bith maille ruinn san tigh, ach
sinn féin 'nar dithis anns an tigh.
19 Agus dh'eug mac na mnà so
san oidhche, a chionn gu'n do luidh i
air.
20 Agus dh'éirich i mu mheadhon-
oidhche, agus thug i mo mhac-sa o'm'
thaobh, am feadh a bha do bhano-
glach na codal, agus chuir i na luidhe
e na h-uchd féin, agus chuir i a mac
marbh féin na luidhe ann am uchd-sa.
21 Agus dh'éirich mi anns a' mha-
duinn a thoirt cìche do m' mhac, a-
gus feuch, bha e marbh. Ach an
uair a thug mi an áire dha sa' mha-
duinn, feuch, cha b'e mo mhac-sa
bh'ann, a rug mi.
22 Agus thubhairt a' bhean eile,
Ni h-eadh; ach *is e* mo mhac-sa *tha*
beo, agus *is e* do mhac-sa *tha* marbh:
agus thubhairt ise[f], Ni h-eadh; ach
is e do mhac-sa *tha* marbh, agus is e
mo mhac-sa *tha* beo. Mar so labhair
iad[g] am fianuis an righ.
23 An sin thubhairt an righ, *Tha* i
so ag ràdh, *Is* e so mo mhac-sa *tha*
beo, agus *is e* do mhac-sa *tha* marbh:
agus *tha* i sud ag ràdh, Ni h-eadh;
ach *is e* do mhac-sa *tha* marbh, agus
is e mo mhac sa *tha* beo.
24 Agus thubhairt an righ, Thug-
aibh dhomh claidheamh. Agus thug
iad claidheamh am fianuis an righ.
25 Agus thubhairt an righ, Roinn-
ibh an mac beo na dhà *leth*[h], agus
thugaibh

[a] *òganach.* [b] *a chor as gu'n tuig, gu mothaich e.* [c] *mòran làithean.* Eabh.
[d] *an dà chuid.* [e] *dh'asaideadh, rug mi leanabh.* [f] *i. e.* Eabh.
[g] *rinn iad connsachadh.* [h] earrann.

thugaibh leth dh'aon *mhnaoi,* agus leth do'n *mhnaoi* eile.

26 An sin labhair a' bhean le'm bu leis am mac beo ris an righ (oir theòdh a cridhe[a] r'a mac) agus thubhairt i, O mo thighearna, thugaibh dh'ise an leanabh beo, agus na marbhaibh idir e: ach thubhairt *a' bhean* eile, Na biodh e agam-sa no agadsa, *ach* roinn-ibh e.

27 An sin fhreagair an righ, agus thubhairt e, Thugaibh dh'ise an leanabh beo, agus na marbhaibh idir e: *is* ise a mhàthair.

28 Agus chual' Israel uile a' bhreth a thug an righ, agus bha eagal orra roimh an righ; oir chunnaic iad gu'*n robh* gliocas Dhé ann[b], a dheanamh breitheanais.

CAIB. IV.

AGUS bha righ Solamh na righ air Israel uile.

2 Agus *is* iad so na h-uachdarain[c] a *bh'*aige: Asariah mac Shadoic an t-sagairt:

3 Elihoreph agus Ahiah mic Shisa, sgrìobhuichean: Iehosaphat mac Ahiluid, an seanachaidh[d]:

4 Agus Benaiah mac Iehoiada air ceann an t-slòigh: agus Sadoc agus Abiatar, na sagairt:

5 Agus Asariah mac Natain os cionn an luchd-dreuchd[e]: agus Sabud mac Natain, an t-ard fhear-dreuchd, na charaid[f] aig an righ:

6 Agus Ahisar os cionn an teaghlaich, agus Adoniram mac Abda os cionn na cìse.

7 Agus bha aig Solamh dà fhear dheug dreuchd os cionn Israeil uile, a bheathaich an righ agus a theaghlach: rè a mhìos féin sa' bhliadhna bha e mar fhiachaibh air gach fear dhiubh *a* bheathachadh.

8 Agus *is* iad so an ainmeanna: mac Huir ann an sliabh Ephraim:

9 Mac Dhecair ann am Macas, agus ann an Saaibim, agus *ann am* Betsemes, agus *ann an* Elon, agus *ann am* Bet-hanan:

10 Mac Heseid ann an Arubot; aige-san *bha* Sochoh, agus uile thìr Hepheir:

11 Mac Abinadaib, *aig an robh* uile thìr Dhoir: bha Taphat nighean Sholaimh aige na mnaoi:

12 Baanah mac Ahiluid: *aige-san bha* Taanach agus Megido, agus Betsean uile, a *tha* làimh ri Sartanah sìos o Iesreel, o Bhet-sean gu Abel-meholah, gu ruig an taobh thall do Iocneam:

13 Mac Ghebeir ann an Ramot-gilead: dhasan *bhuineadh* bailtean Iair mhic Mhanaseh, a *tha* ann an Gilead: dhasan *mar an ceudna bhuineadh* tìr Argoib, a *tha* ann am Basan, trì fichead baile mòr le ballachaibh agus le crannaibh umha:

14 Ahinadab mac Ido ann am Mahanaim:

15 Ahimaas ann an Naphtali: ghabh esan mar an ceudna Basmat nighean Sholaimh na mnaoi:

16 Baanah mac Husai ann an Aser, agus ann am Balot:

17 Iehosaphat mac Pharuah ann an Isachar:

18 Simei mac Elah ann am Beniamin:

19 Geber mac Uri ann an tìr Ghilead ann an tìr Shihoin righ nan Amorach, agus Og righ Bhasain; agus *b'esan* an t-aon fhear-dreuchd a *bha* san tìr.

20 *Bha* Iudah agus Israel lìonmhor, mar an gaineamh a *tha* ri taobh na fairge air lìonmhoireachd, ag itheadh, agus ag òl, agus a' deanamh subhachais.

21 Agus rìoghaich Solamh os cionn nan rìoghachdan uile, o'n abhuinn gu tìr nam Philisteach, agus gu ruig crìoch na h-Eiphit: thug iad leo tiodhlacan, agus rinn iad seirbhis do Sholamh rè uile làithean a bheatha.

22 Agus b'e lòn[g] Sholaimh air son aon là, deich tomhais[h] fhichead do mhin mhìn[k] *chruithneachd*, agus trì fichead tomhas mine *eile*,

23 Deich daimh bhiadhta, agus fichead

[a] *a h-innidh, a truas.* [b] *na chridhe.* [c] *ceannardan, prionnsaidh.*
[d] *cuimhnichear.* [e] *os ceann nan daoine a fhritheil do'n righ.*
[f] *na fhear-rùn.* [g] *aran.* Eabh. [h] *cor.* Eabh. *measures.* Sasg.
[k] *phlùr.*

fichead damh bhàrr an fheoir, agus ceud caora, a thuilleadh air féidh, agus ruadh-bhuic, agus dathais, agus coin bhiadhta.

24 Oir bha uachdranachd aige os cionn *na tìre* uile air an taobh so do'n abhuinn, o Thiphsah eadhon gu Asah, os cionn nan righ uile air an taobh so do'n abhuinn: agus bha sìth aige o gach taobh mu'n cuairt da.

25 Agus ghabh Iudah agus Israel còmhnuidh gu tèaruinte, gach fear fa chrann-fìona, agus fa chrann-fige féin, o Dhan eadhon gu Beer-seba, rè uile làithean Sholaimh.

26 Agus bha aig Solamh ceithir mìle[a] prasach each air son a charbad, agus dà mhìle dheug marcach.

27 Agus bheathaich an luchd-dreuchd sin righ Solamh, agus gach neach a thàinig gu bord righ Solamh, gach duine na mhìos féin: cha d'fhuiling iad nì air bith a bhi dh'easbhuidh.

28 Eorna mar an ceudna agus connlach do na h-eachaibh, agus do na dromedairibh, thug iad a dh'ionnsuidh an àit anns an robh *an luchd-dreuchd*, gach fear a réir 'orduigh féin.

29 Agus thug Dia gliocas do Sholamh, agus tuigse ro-mhòr, agus farsaingeachd cridhe, mar an gaineamh a *tha* air tràigh na mara.

30 Agus bu mhò gliocas Sholaimh na gliocas uile chloinne na h-aird an ear, agus na uile ghliocas na h-Eiphit.

31 Agus bha e glic thar gach duine, thar Etan an t-Esrahach[b], thar Heman, agus Chalcol, agus Darda, mic Mhahoil[c]: agus bha a chliu[d] anns gach dùthaich mu'n cuairt.

32 Agus labhair e tri mìle gnàth-fhocal; agus b'*e àireamh* a dhàn mìle agus cùig.

33 Agus labhair e air craobhan, o'n chrann-seudair a *tha* ann an Lebanon, eadhon gu ruig an hisop a dh'fhàsas a mach as a' bhalladh: labhair e mar an ceudna air ainmhidhibh, agus air eunlaith, agus air nithibh a shnàigeas, agus air iasgaibh.

34 Agus thàinig *cuid* do na h-uile chinneachaibh a dh'éisdeachd ri gliocas Sholaimh, o uile righibh na talmhainn, a chual' *iomradh* a ghliocais.

CAIB. V.

AGUS chuir Hiram righ Thiruis[e] a sheirbhiſich a dh'ionnsuidh Sholaimh, an uair a chual' e gu'n d'ungadh e na righ an àit 'athar: oir bha spéis aig Hiram do Dhaibhidh rè 'uile làithean

2 Agus chuir Solamh *fios* gu Hiram, ag ràdh,

3 Tha fhios agad cionnus nach b'urrainn m'athair Daibhidh tigh a thogail do ainm an Tighearn a Dhé, air son a' chogaidh leis an do chuairtich *a naimhdean* e, gus an do chuir an Tighearn iad fuidh bhonaibh a chos.

4 Ach a nis thug an Tighearna mo Dhia fois domhsa air gach taobh: cha '*n'eil* nàmhaid air bith ann, no droch thuiteamas.

5 Agus feuch, tha mi a cur romham tigh a thogail do ainm an Tighearna mo Dhé, mar a labhair an Tighearn ri m'athair Daibhidh, ag ràdh, Do mhac a chuireas mise a'd' àit air do righ-chaithir, togaidh esan tigh do m'ainm-sa.

6 A nis uime sin àithn thusa gu'n gearr iad dhomhsa craobhan seudair[f] a Lebanon, agus bithidh mo sheirbhisich-sa maille ri d' sheirbhisich-sa: agus tuarasdal do sheirbhiseacha bheir mise dhuit, a réir gach nì a dh'ainmicheas[g] tu: oir tha fhios agad nach '*eil* 'nar measgne duine d'an aithne fiodh a ghearradh, mar na Sidonaich.

7 Agus an uair a chuala Hiram briathra Sholaimh, bha aoibhneas mòr air, agus thubhairt e, Gu ma beannaicht' an Tighearn an diugh, a thug do Dhaibhidh mac glic os cionn an t-sluaigh lìonmhoir so.

8 Agus chuir Hiram *fios* gu Solamh, ag ràdh, Chuala mi[h] na nithe mu'n do chuir thu *fios* do m'ionnsuidh: nì mi d'uile thoil a thaobh nan craobh seudair agus a thaobh nan craobh giuthais.

9 Bheir

[a] *dà fhichead mìle.* Faic. II. Eachdr. Caib. IX. r. 25. [b] *mac Sherah.* Faic I. Eachdr. Caib. II. r. 6. [c] *luchd dàin.* [d] *'ainm.* Eabh. [e] *Tìoir.* [f] *ceudair.* [g] *their.* Eabh. [h] *Smuainich mi air.*

9 Bheir mo sheirbhisich sios *iad* o Lebanon a dh'ionnsuidh na mara: agus cuiridh mi air falbh iad nan ràthaibh[a] air muir, gu ruig an t-àit a shònruicheas tu dhomh, agus cuiridh mi air tìr[b] iad an sin, agus bheir thusa leat *iad;* agus ni thu mo riar ann am biadh a thabhairt do m' theaghlach.

10 Mar sin thug Hiram do Sholamh fiodh seudair, agus fiodh giuthais, *a réir* 'uile thoil.

11 Agus thug Solamh do Hiram fichead mìle tomhas[c] cruithneachd mar lòn d'a theaghlach, agus fichead tomhas do oladh fhìor-ghloin: mar so thug Solamh do Hiram o bhliadhna gu bliadhna.

12 Agus thug an Tighearna gliocas do Sholamh, mar a gheall e dha[d]: agus bha sìth eadar Hiram agus Solamh, agus rinn iad coimhcheangal ri chéile.

13 Agus rinn righ Solamh togail *dhaoine* a h-Israel uile; agus b'i an togail deich mìle fichead fear.

14 Agus chuir e iad do Lebanon, deich mìle sa' mhìos mu'n seach: mìos bha iad ann an Lebanon, agus dà mhìos nan tighibh féin[e]: agus *bha* Adoniram air ceann na togail.

15 Agus bha aig Solamh deich agus tri fichead mìle fear-iomchar eallaich, agus ceithir fichead mìle feargearraidh anns a' bheinn:.

16 A thuilleadh air ard luchd-dreuchd Sholaimh, a *bha* os cionn na h-oibre, tri mìle agus tri cheud[f], aig an robh uachdranachd air an t-sluagh a bha deanamh na h-oibre.

17 Agus dh'àithn an righ, agus thug iad leo clacha mòra, clacha luachmhor, a shuidheachadh bunait an tighe, clacha snaidhte.

18 Agus shnaidh clachairean Sholaimh, agus clachairean Hiraim, agus na gearradairean-chlach[g] *iad:* mar sin *rè thri bliadhna* dheasaich iad fiodh agus clachan a thogail an tighe.

CAIB. VI.

AGUS [anns a' cheathramh ceud, agus an ceathramh fichead bliadhna o theachd chloinn Israeil a mach a tìr na h-Eiphit,] anns a' cheathramh bliadhna [do rìoghachadh Sholaimh os cionn Israeil,] anns a' mhìos Siph (*is* e sin an dara mìos) thòisich e air tigh a thogail do'n Tighearna.

2 Agus an tigh a thog righ Solamh do'n Tighearna, *b'iad* tri fichead làmh-choille 'fhad, agus fichead *làmh-choille* a leud, agus deich thar fhichead làmh-choille 'airde.

3 Agus an sgàth-thigh[h] air beulaobh teampuill an tighe, *b'iad* fichead làmh-choille 'fhad, a réir[k] leoid an tighe; *agus* deich làmhan-coille a leud, air beulaobh an tighe.

4 Agus rinn e do'n tigh uinneagan soluis air an tarruing cumhaing.

5 Agus thog e ri[l] balladh an tighe seòmraiche mu'n cuairt, ri ballachaibh an tighe mu'n cuairt, *araon* an teampuill agus a' ghuth-àit[m] agus rinn e frith-sheòmraiche mu'n cuairt.

6 *Bha*'n seòmar ìochdrach cùig làmhan-coille air leud, agus an *seòmar* meadhonach sè làmhan-coille air leud, agus an treas *seòmar* seachd làmhan-coille air leud; oir thug e steach balladh an tighe[n] mu'n cuairt o'n taobh a muigh, air chor as nach rachadh *na sailthean* an greim ann am balladh an tighe.

7 Agus an uair a bha'n tigh 'ga thogail, thogadh e do chlachaibh air an cumadh mun d'thugadh d'a ionnsuidh iad[o]: agus cha chualas ord no tuagh, *no* inneal iaruinn sam bith, anns an tigh, an uair a bha e 'ga thogail.

8 *Bha* dorus an t-seòmair mheadhonaich air taobh deas an tighe: agus air staidhrichibh snìomhain chaidh iad suas do'n *t-seòmar* mheadhonach, agus as an *t-seòmar* mheadhonach do'n treas *seòmar.*

9 Mar

[a] *nan snàmbachbain.* [b] *cuiridh mi o chéile.* Eabh. [c] *cor.* Eabh. [d] *mar a labhair e ris.* Eabh. [e] gach fear *na thigh féin.* Eabh. [f] *sè ceud.* II. Eachdr. Caib. II. r. 18. [g] *gibelim* Eabh. [h] *àilear, for-dhorus; porch.* Sasg. [k] *air beulaobh* Eabh. [l] *air.* [m] *àit an Dé-fhreagraidh; dabir.* Eabh. *oracle.* Sasg. [n] *rinn e socairean cumhaing ann am balladh an tighe.* [o] *do chloich iomlain, do chloich deasaichte roimh làimh.*

9 Mar ſo thog e an tigh, agus
chrìochnaich ſe e; agus chòmhdaich
e [a] an tigh le ſailthibh agus le clàraibh
ſeudair.
10 Agus thog e ſeòmraiche ris an
tigh uile, cùig làmhan-coille air airde:
agus leig iad an cudthrom air an tigh
le fiodh ſeudair.
11 Agus thàinig focal an Tighear-
na gu Solamh, ag ràdh,
12 *A tha-bh* an tighe ſo a *tha* thu
a' togail, ma ghluaiſeas tu ann am
reachdaibh-ſa, agus *ma* chuireas tu
mo bhreitheanais an gnìomh, agus *ma*
ghleidheas tu m'àitheantan uile le
gluaſad annta; an ſin coimhlìonadh [b]
miſe m'fhocal duit, a labhair mi ri
Daibhidh t'athair.
13 Agus gabhaidh mi còmhnuidh
am meadhon chloinn Iſraeil, agus cha
tréig mi mo ſhluagh Iſrael.
14 Mar ſin thog Solamh an tigh
agus chrìochnaich ſe e.
15 Agus thog e ballachan an tighe
air an taobh a ſtigh le clàraibh ſeudair,
o urlar an tighe gu ruig mullach nam
ballacha [c] chòmhdaich e *iad* le fiodh a
ſtigh: agus chòmhdaich e urlar an
tighe le clàraibh [d] giuthais.
16 Agus thog e fichead làmh-choille
ri taobhan an tighe, le clàraibh ſeud-
air, o'n urlar gu ruig *mullach* nam
ballacha: agus thog e dha *iad* air an
taobh a ſtigh, *eadhon* do'n ghuth-àit,
do'n *ionad* ro-naomha.
17 Agus *bha*'n tigh, ſin *ri ràdh*, an
teampull air a bheulaobh, dà fhichead
làmh-choille *air fad.*
18 Agus *bha* ſeudar an tighe air an
taobh a ſtigh gearrta [e] le cnapaibh, a-
gus blàthaibh foſgailte: *bu* ſheudar an
t-iomlán, cha robh clach r'a faicinn.
19 Agus dh'ulluich e an guth-àit
anns an tigh a ſteach, a chur an
ſin àirc coimhcheangail an Tighear-
na.
20 Agus ann an taobh-beoil a'
ghuth-àit [f] *bha* fichead làmh-choille
air fad, agus fichead lamh-choille
air leud, agus fichead làmh-choille air
airde: agus chòmhdaich ſe e le h-òr
fiorghlan: chòmhdaich e cuideachd
an altair le ſeudar.
21 Agus chòmhdaich Solamh an
tigh a ſteach le h-òr fiorghlan: agus
rinn e balladh-dealachaidh [g] le ſlabh-
raidhibh òir air beulaobh a' ghuth-àit,
agus chòmhdaich e le h-òr e.
22 Agus chòmhdaich e an tigh
uile le h-òr, gus an do-chrìochnaich-
eadh an tigh uile: mar an ceudna an
altair uile, a *bha* làimh ris a' ghuth-
àit, chòmhdaich e le h-òr.
23 Agus rinn e anns a' ghuth-àit
da cherub do chrann-olaidh, gach aon
diubh deich làmhan-coille air airde.
24 Agus *bha* cùig làmhan-coille
ann an aon ſgéith a' cheruib, agus
cùig làmhan-coille *ann an* ſgéith eile a'
cheruib: *bha* deich làmhan-coille o bharr
aon ſgéith aige gu bàrr na ſgéith eile.
25 Agus *bha* deich làmhan-coille
anns a' cherub eile: *bha*'n t-aon
tomhas agus an aon mheud anns an dà
cherub.
26 *B'e* airde aon cheruib deich
làmhan-coille, agus mar ſin *bha airde*
a' cheruib eile.
27 Agus chuir e na cheruban anns
an tigh a b'fhaide a ſteach; agus
ſhìn na cheruban *an* ſgiathan a mach,
air chor as gu'n do bhean ſgiath aon
cheruib ri *aon* bhalladh, agus ſgiath a'
cheruib eile ris a' bhalladh eile; agus
bhean an ſgiathan ri chéile ann am
meadhon an tighe.
28 Agus chòmhdaich e na cherub-
an le h-òr.
29 Agus bhreac e ballachan an
tighe uile mu'n cuairt le dealbhaibh
gearrta cheruban, agus chraobhan-
pailme, agus bhlàth foſgailte [h], a ſtigh
agus a muigh.
30 Agus urlar an tighe chòmhdaich
e le h-òr, a ſtigh agus a muigh.
31 Agus do dhorus a' ghuth-àit
rinn e còmhlacha *do* chrann-olaidh:
bha'n t-ard-dhorus *agus* na h-urſainn-
ean cùig-oiſneach.
32 *Bha*'n dà chòmhlach mar an
ceudna

[a] *chuir e ceann air.* [b] *daingnichidh.* [c] *gu ruig ballacha cinn an tighe.* [d] *bordaibh.* [e] *breacta, air a ghràbhaladh.* [f] *anns a' chuid-thoiſich do'n oracul.* [g] *lantaoir.* Eir. *partition.* Saſg. [h] *foſgladh bhlàthan.* Eabh.

ceudna *do* chrann-olaidh; agus ghearr
e orra dealbhan[a] cherub, agus
chraobh-pailme, agus bhlàth foſgailte,
agus chòmhdaich e le h-òr *iad:* agus
ſgaoil e òr air na cheruban, agus air
na craobhan pailme.
33 Agus air an dòigh cheudna
rinn e do dhorus an teampuill, urſainn-
ean *do* chrann-olaidh, ceithir-chear-
nach.
34 Agus *bha*'n dà chòmhladh *do*
fhiodh giuthais: *bha* dà dhuilleag
aon chòmhlaidh a' filleadh, agus dà
dhuilleag a' chòmhlaidh eile a filleadh.
35 Agus ghearr e orra cheruban, a-
gus craobhan-pailme, agus blàthan-
foſgailte: agus chòmhdaich e *iad* le
h-òr, cumta ris an *obair* ghearrta.
36 Agus thog e a' chùirt a ſtigh le
tri ſreathan[b] do chlachaibh ſnaidhte,
agus ſreath do ſhailthibh ſeudair.
37 Anns a' cheathramh bliadhna
ſhuidhicheadh bunait tighe an Tigh-
earna, anns a' mhìos Siph.
38 Agus anns an aon bhliadhna
deug, anns a' mhìos Bul (*is* e ſin an
t-ochdamh mìos), chrìochnaicheadh
an tigh ann a earrannaibh uile, agus
a réir a chumaidh uile. Agus bha e
ſeachd bliadhna ga thogail.

CAIB. VII.

ACH bha Solamh tri bliadhna
deug a' togail a thighe féin, a-
gus chrìochnaich e a thigh uile.
2 Thog e mar an ceudna tigh
frìthe[c] Lebanoin; ceud làmh-choille
'fhad, agus leth-cheud làmh-choille a
leud, agus deich thar fhichead làmh-
choille 'airde; air ceithir[d] ſreathaibh
do phoſtaibh ſeudair, agus ſailthean
ſeudair air na poſtaibh.
3 Agus chòmhdaicheadh e le ſeudar
os a chionn air na ſailthibh, a *bha* air
dà fhichead agus cùig puiſt, cùig-deug
anns gach ſreath.
4 Agus *bha* tri ſreathan uinneag[e] ann,
agus ſolus fa chomhair ſoluis tri uairean.
5 Agus *bha* na dorſan uile agus na
h-urſainnean ceithir-chearnach, maille
ris na h-uinneagaibh: agus *bha* ſolus
fa chomhair ſoluis tri uairean.
6 Agus rinn e ſgàth-thigh do
phoſtaibh; leth-cheud làmh-choille
'fhad, agus deich làmha-coille thar
fhichead a leud: agus *bha*'n ſgàth-
thigh rompa ſin, agus *bha* na puiſt
eile agus na ſailthean garbha rompa.
7 Rinn e mar an ceudna ſgàth-
thigh na righ-chathrach far am biodh
e a' tabhairt breth, *eadhon* ſgàth-thigh
a' bhreitheanais: agus chòmhdaich-
eadh e le ſeudar o aon taobh do'n ur-
lar gu ruig an taobh eile.
8 Agus aig a thigh féin anns an do
chòmhnuich e, *bha* cùirt[f] eile an
taobh a ſtigh do'n ſgàth-thigh, *a*
bha do'n obair cheudna. Rinn e
cuideachd tigh do nighinn Pharaoih,
a ghabh Solamh dha féin *na mnaoi*,
coſmhuil ris an ſgàth-thigh ſo.
9 *Bha* iad ſin uile do chlachaibh
luachmhora, a réir tomhais chlach
ſnaidhte, air an sàbhadh[g] le sàibh a
ſtigh agus a muigh, eadhon o'n bhunait
gu ruig na clacha-mullaich[h], agus
mar ſin air an taobh a mach gu ruig
a' chùirt mhòr.
10 Agus *bha* a' bhunait *do* chlach-
aibh luachmhora, *do* chlachaibh mòra;
clacha ſan robh deich làmhan-coille,
agus clacha ſan robh ochd làmhan-
coille.
11 Agus gu h-ard *bha* clacha luach-
mhora (a réir tomhais chlach ſnaidhte)
agus ſeudair.
12 Agus aig a' chùirt mhòir mu'n
cuairt *bha* tri ſreathan do chlachaibh
ſnaidhte, agus freth do ſhailthibh
ſeudair: air an dòigh cheudna aig
cùirt a ſteach tighe an Tighearna, a-
gus aig ſgàth-thigh an tighe.
13 Agus chuir righ Solamh *fios*,
agus thug e Hiram o Thirus.
14 *Bu* mhac bantraich e do thréibh[i]
Naphtali, agus *b*'fhear o Thirus 'athair,
ceard umha: agus bha e làn do
ghliocas, agus do thuigſe, agus do
eòlas a dheanamh gach oi'bre ann an
umha: agus thàinig e dh'ionnſuidh
righ Solamh, agus rinn e 'obair uile.
15 Oir dhealbh e dà phoſt umha:
ochd làmha-coille deug airde gach
puiſt dhiubh, agus chaidh ſnàthainn

[a] *gearradh.* [b] *breathan.* [c] *coille.* [d] *tri.* [e] *leuſan, ſoluſan.* [f] *lann, lios.* [g] *gearradh.* [h] *clachan-iomchair.*
[i] *do fhineadh, chloinn.*

anns an robh dà làmh-choille dheug mu'n cuairt air gach [a] poſt dhiubh.

16 Agus rinn e dà cheann do umha-leaghta, chum an cur air mullach nam poſt: cùig làmha-coille airde aon chinn, agus cùig làmha-coille airde a' chinn eile.

17 Lìonta do lìon-obair [b], ſtìoman do obair ſhlabhraidh, do na cinn a *bha* air mullach nam poſt: ſeachd do aon cheann, agus ſeachd do'n cheann eile.

18 Agus rinn e pomgranatan, dà ſhreath [c] mu'n cuairt air aon lìon-obair a chòmhdachadh nan ceann a *bha* air mullach nam poſt [d]: agus mar ſin rinn e ris a' cheann eile.

19 Agus *bha* na cinn a *bh'*air mullach nam poſt, do obair lili anns an ſgàth-thigh, ceithir làmha-coille.

20 Agus *bha* cinn [e] air an dà phoſt mar an ceudna gu h-ard, làimh ris a' bhalg a *bha* air an taobh thall do'n lìon-obair: agus *bha* dà cheud pomgranat ann, nan ſreathaibh mu'n cuairt air a' cheann eile.

21 Agus chuir e ſuas na puiſt ann an ſgàth-thigh an teampuill: agus chuir e ſuas am poſt deas, agus thug e Iachin mar ainm air; agus chuir e ſuas am poſt clì, agus thug e Boas mar ainm air.

22 Agus air mullach nam poſt *bha* obair lili: mar ſo chrìochnaicheadh obair nam poſt.

23 Agus rinn e muir leaghta, deich làmhan-coille o bhile [f] gu bile; cruinn mu'n cuairt, agus cùig làmhan-coille a h-airde: agus chuairtich ſnàthainn dheich làmha-coille thar fhichead i air gach taobh.

24 Agus *bha* mill fuidh a bile 'ga cuairteachadh mu'n cuairt, deich anns an làmh-choille, a' dol mu thimchioll na mara: thilgeadh dà ſhreath mheall an uair a thilgeadh i féin.

25 Sheas i air dà dhamh dheug, tri ag amharc gu tuath, agus tri ag amharc an iar [g], agus tri ag amharc gu deas, agus tri ag amharc an ear [h]: agus *chuireadh* a' mhuir orra gu h-ard, agus *bha* a' chuid dheiridh dhiubh uile a ſtigh.

26 Agus *bha* leud boiſe air tiughaid innte, agus *bha* a bile air a dheanamh mar bhile copain, le blàthaibh lili: chum i dà mhìle bat.

27 Agus rinn e deich buinn [i] umha: ceithir làmha-coille ſad gach [j] buinn, agus ceithir làmha-coille a leud, agus tri làmha-coille 'airde.

28 Agus *bha* obair nam bonn *air an dòigh* ſo: *bha* iomaill [k] aca, agus *bha* na h-iomaill eadar na tàdhacha [l].

29 Agus air na h-iomaill a *bha* eadar na tàdhacha *bha* leòmhainn, daimh, agus cheruban: agus air na tàdhachaibh *bha* mar ſin [m] gu h-ard: agus fuidh na leòmhainn agus na daimh *bha* ath-leaſachadh a dh'obair thana [n].

30 Agus *bha* ceithir rothan umha aig gach bonn, agus clàir [o] umha, agus aig a cheithir oiſnibh *bha* guailne [p]: fuidh'n t-ſoitheach-ionnlaid *bha* guailne leaghta, aig taobh gach ath-leaſachaidh.

31 Agus *bha* a' bheul an taobh a ſtigh do'n cheann, agus ſhuas, làmh-choille *air leud:* ach *bha* a bheul cruinn *a réir* oibre a' bhuinn, làmh-choille gu leth: agus mar an ceudna air a bheul *bha* gearraidhean [q], agus an iomaill ceithir-chearnach, cha'n ann cruinn.

32 Agus *bha* ceithir rothan fuidh na h-iomallaibh: agus *bha* mulan [r] nan roth *an greim* anns a' bhonn: agus *b'e* airde gach rotha làmh-choille gu leth.

33 Agus *bha* obair nan roth coſmhuil ri obair rotha carbaid: *bha* am mulan, agus an ciochan, agus an cuairſgeinean, agus an tarſanain uile leaghta.

34 Agus *bha* ceithir guailne ri ceithir oiſnibh gach buinn; na guailne do'n bhonn féin.

35 Agus ann am mullach a' bhuinn

[a] *an dara.* Eabh. [b] *do obair tharſuinn.* [c] *na puiſt, agus dà ſhreath.* [d] *air a' mhullach, maille ri pomgranataibh.* [e] Bha pomgranatan *aig na cinn.* [f] *oir.* [g] *ſiar.* [h] *ſoir.* [i] *bunaite.* [j] *aon.* Eabh. [k] *oirean.* [l] *ceumaibh.* [m] *bonn.* [n] *obair ſhìnte.* [o] *lannan.* [p] *pruip, caſan, buill-iomchair.* [q] *gravings.* Saſg. [r] *aiſilean; làmhan.* Eabh.

bhuinn, leth làmh-choille air airde, *bha* cuairt mu thimchioll: agus air mullach a' bhuinn *bha* a làmhan [a] agus 'iomaill dheth féin.
36 Agus air clàraibh a làmh, agus air 'iomallaibh, ghearr e cheruban, leòmhainn, agus craobha pailme, a réir riochd gach aon diubh, agus athleasachadh mu'n cuairt.
37 Mar so rinn e na deich buinn: an t-aon tilgeadh, an t-aon tomhas, an t-aon ghearradh [b] aca uile.
38 Agus rinn e deich soithichean-ionnlaid umha: chumadh [c] gach soitheach ionnlaid dhiubh dà fhichead bat: *bha* ceithir làmhan-coille anns gach soitheach ionnlaid: *chuireadh* aon soitheach ionnlaid air gach aon do na deich buinn.
39 Agus chuir e cùig buinn air taobh [d] na làimhe deise do'n tigh, agus cùig air taobh na làimhe cli dheth: agus chuir e a' mhuir air taobh na làimhe deise do'n tigh, a làimh na h-airde 'n ear, fa chomhair na h-airde deas.
40 Agus rinn Hiram na soithichean-ionnlaid, agus na sluasaidean, agus na cuachan: agus chuir Hiram crìoch air deanamh na h-oibre uile a rinn e do righ Solamh air son tighe an Tighearna:
41 An dà phost, agus *dà* chuairt [e] nan ceann a *bh*'air mullach an dà phuist: agus an dà lìon-obair, a chòmhdachadh dà chuairt nan ceann a *bh*'air mullach nam post:
42 Agus ceithir cheud pomgranat do'n dà lìon-obair: dà shreath phomgranat do gach lìon-obair, a chòmhdachadh dà chuairt nan ceann a *bh*'air na puist:
43 Agus na deich buinn, agus na deich soithichean-ionnlaid air na buinn:
44 Agus aon mhuir, agus dà dhamh dheug fuidh'n mhuir:
45 Agus na h-aigheannan [f], agus na sluasaidean, agus na cuachan: agus na soithiche sin uile a rinn Hiram do righ Solamh air son tighe an Tighearna, *bha iad do* umha liobhta [g].
46 Ann an còmhnard Iordain thilg an righ iad anns an talamh chreadha, eadar Sucot agus Sartan.
47 Agus dh'fhàg Solamh na soithichean [h] uile *gun chothromachadh*, air son an lìonmhoireachd anbarraich: cha d'fhuaradh a mach i cothrom an umha.
48 Agus rinn Solamh an t-uidheam [i] uile a *bhuineadh* do thigh an Tighearna: an altair do òr, agus am bord, air *an robh* aran na fianuis, do òr:
49 Agus na coinnleirean, cùig air an làimh dheis, agus cùig air an làimh chli, air beulaobh a' ghuth-àite, do òr fiorghlan; agus na blàthan, agus na lòchrainn, agus na clobhachan [k], do òr.
50 Agus na cuachan, agus na smàladairean, agus na copain, agus na spàinean, agus na tùisleirean, do òr fìor-ghlan: agus na lùthdagan do òr, an dà chuid do dhorsaibh an tighe a steach, *eadhon* an *ionaid* ro-naomha, *agus* do dhorsaibh an tighe, *eadhon* an teampuill.
51 Agus chrìochnaicheadh an obair uile a rinn righ Solamh air son tighe [l] an Tighearna: agus thug Solamh a stigh nithe naomhaichte [m] Dhaibhidh 'athar; *eadhon* an t-airgiod, agus an t-òr, agus an t-uidheam [n], chuir e am measg ionmhais tighe an Tighearna.

C A I B. VIII.

AN SIN chruinnich Solamh seanairean Israeil, agus cinn nan treubh uile, ceannardan aithriche chloinn Israeil, gu righ Solamh ann an Ierusalem, chum gu'n dthugadh iad a nìos àirc coimhcheangail an Tighearna, a baile Dhaibhidh: *is* e sin Sion.
2 Agus chruinnich fir Israeil uile iad féin a dh'ionnsuidh righ Solaimh, air an fhéill [o] ann am mios Etanim; *is* e sin an seachdamh mios.

 3 Agus

[a] *tharsanain.* [b] *mheud.* [c] *ghabhadh.* [d] *gualainn.* Eabh. [e] *shoitheach cruinn.* [f] *poitean.* [g] *dealrach, fìor-ghlan.* [h] *an t-uidheam.* [i] *cha do rannsaicheadh.* [j] *an airneis, na soithiche.* [k] *teanchairean.* [l] *ann an tigh.* [m] *nithe coisrigte.* [n] *na soithiche.* [o] *fhéisd.*

3 Agus thàinig uile ſheanairean Iſ-
raeil, agus thog na ſagairt an àirc.
4 Agus thug iad ſuas àirc an Tigh-
earna, agus pailliun a 'choimhthionail,
agus an t-uidheam naomh uile a *bha*
ſa' phàilliun; eadhon iad ſin thug na
ſagairt agus na Lebbhithich ſuas.
5 Agus *bha* righ Solamh, agus
coimhthional Iſraeil uile, a thionail
d'a ionnſuidh, maille ris roimh an
àirc, ag iobradh chaorach, agus
cruidh, nach robh e'n comas àireamh,
no mheas, a thaobh lionmhoireachd.
6 Agus thug na ſagairt a ſteach
àirc coimhcheangail an Tighearna d'a
h-àite féin, do ghuth-àit an tighe, do'n
ionad a's ro-naomha, *eadhon* fuidh
ſgiathaibh nan cherub.
7 Oir ſgaoil na cheruban a mach
an ſgiathan os cionn àite na h-àirce,
agus chòmhdaich na cheruban an àirc,
agus a lunnan [a] gu h-ard.
8 Agus tharruing iad a mach na
lunnan, air chor as gu'm faicte cinn
nan lunn as an *ionad* naomh fa chomh-
air a' ghuth-àite, ach cha'n fhaicte a
mach iad: agus tha iad an ſin gus an
la'n diugh.
9 Cha *robh* ni air bith anns an àirc
ach an dà chlàr chloiche, a chuir
Maois an ſin ann an Horeb, an uair
a rinn an Tighearna *coimhcheangal* ri
cloinn Iſraeil, ag teachd a mach
dhoibh a tìr na h-Eiphit.
10 Agus an uair a thàinig na ſag-
airt a mach as an *ionad* naomha, lion
an neul tigh an Tighearna;
11 Air chor as nach b'urrainn na
ſagairt ſeaſamh a fhrithealadh leis an
neul: oir lion glòir an Tighearna
tigh an Tighearna.
12 An ſin thubhairt Solamh,
Thubhairt an Tighearna gu'n gabhabh
e còmhnuidh ann an dorchadas tiugh.
13 Gu dearbh thog miſe tigh-
còmhnuidh dhuit, àite deas [b] chum
thu dh'fhantuinn ann gu bràth.
14 Agus thionndaidh an righ
'aghaidh, agus bheannaich e uile
choimh-thional Iſraeil (agus uile
choimh-thional Iſraeil nan ſeaſamh):
15 Agus thubhairt e, Gu ma beann-
aichte an Tighearna Dia Iſraeil, a
labhair le 'bheul féin ri m'athair
Daibhidh, agus a choimhlion e le
'làimh [c], ag ràdh,
16 O'n là air an d'thug mi mo
ſhluagh Iſrael a mach as an Eiphit,
cha do thagh mi baile ſam bith a uile
threubhaibh [d] Iſraeil, a thogail tighe,
chum gu'm biodh m'ainm an ſin: ach
thagh mi Daibhidh gu bhi os cionn
mo ſhluaigh Iſraeil.
17 Agus bha e ann an cridhe
Dhaibhidh m'athar, tigh a thogail do
ainm an Tighearna Dé Iſraeil.
18 Agus thubhairt an Tighearna
ri Daibhidh m'athair, A chionn gu'n
robh e ann do chridhe tigh a thogail
do m'ainmſa, is maith a rinn thu gu'n
robh e ann do chridhe.
19 Gidheadh, cha tog thuſa an
tigh, ach do mhac a thig a mach as
do leaſraidh, togaidh eſan an tigh do
m'ainm-ſa.
20 Agus choimhlion [e] an Tighear-
na 'fhocal a labhair e, agus dh'éirich
miſe ſuas an àite Dhaibhidh m'athar,
agus tha mi a'm' ſhuidhe air righ-
chaithir Iſraeil, mar a labhair [f] an
Tighearna, agus thog mi tigh do ainm
an Tighearna Dé Iſraeil.
21 Agus ſhuidhich mi'n ſin àite
do'n àirc, anns *am bheil* coimhcheangal
an Tighearna, a rinn e r'ar n-aith-
richibh, an uair a thug e mach iad a
tìr na h-Eiphit.
22 Agus ſheas Solamh air beulaobh
altair an Tighearna, ann an làthair
uile choimhthionail Iſraeil, agus ſgaoil
e mach a làmhan gu nèamh:
23 Agus thubhairt e, A Thighear-
na Dhé Iſraeil, cha *'n'eil* Dia ann
coſmhuil riutſa, anns na nèamhaibh
ſhuas, no air an talamh a bhos [g], a
chumas coimhcheangal agus tròcair ri
d' ſheirbhiſich a ghluaiſeas a'd' fhianuis
le'n uile chridhe:
24 A chum ri t'òglach Daibhidh
m'athair an ni a labhair thu ris; oir
labhair thu le d' bheul, agus le d'
làimh choimhlion thu, mar air an
la'n diugh.
25 A nis uime ſin, a Thighearna
Dhé Iſraeil, cum ri t'òglach Daibhidh
m'athair *an ni* a labhair thu ris, ag
ràdh, Cha bhi duine dhìth ort a'm'
fhianuis-ſa, a ſhuidheas air righ-
chaithir

[a] *bataichean.* [b] *ſuidhichte.* [c] *le 'chumhachd.* [d] *theaghlaichibh,* *fhineachaibh.* [e] *dhaingnich.* Eabh. [f] *gheall.* [g] *ſhios.*

thaithir Iſraeil; ma bheir a mhàin
do chlann an aire d'an ſlighe, le
gluaſad a'm' fhianuis-ſa, mar a ghluais
thuſa a'm' fhianuis.
26 Agus a nis, a Dhé Iſraeil,
daingnichear [a] guidheam ort, t'fhocal,
a labhair thu ri t'òglach Daibhidh
m'athair.
27 Ach an gabh Dia da rìreadh
còmhnuidh air an talamh? feuch, cha
chum na nèamha agus nèamha nan
nèamh thuſa; cia gu mòr as lugha na
ſin an tigh ſo a thog miſe?
28 Gidheadh amhairc air [b] urnuigh
do ſheirbhiſich, agus air 'athchuinge [c],
a Thighearna mo Dhia, a dh'éiſdeachd
ris a' ghlaodh agus ris an urnuigh, a
tha do ſheirbhiſeach a' deanamh a't'
fhianuis an diugh:
29 A chum as gu'm bi do ſhùilean
foſgailte ris an tigh ſo a dh'oidhche a-
gus do là; *eadhon* ris an àite mu'n
dubhairt thu, Bithidh m'ainm an ſin:
a chum as gu'n éiſd thu ris an urnuigh
a ni no ſheirbhiſeach dh'ionnſuidh an
àite ſo [d].
30 Agus éiſd thuſa ri athchuinge
do ſheirbhiſich, agus do ſhluaigh Iſ-
raeil, an uair a ni iad urnuigh a
dh'ionnſuidh an àite ſo: agus éiſd
thuſa o d' àite-còmhnuidh, o na
néamhaibh [e], agus an uair a dh'éiſdeas
tu, maith [f] *dhoibh*.
31 Ma pheacaicheas duine an aghaidh
a choimhearſnaich, agus ma dh'iarras
e mionnan air, a' toirt air mionn-
achadh, agus gu'n dthig na mionnan
air beulaobh t'altarach anns an tigh
ſo;
32 An ſin éiſd thuſa o na nèamh-
aibh, agus dean, agus thoir breth air
do ſheirbhiſeachaibh, a' diteadh an
aingidh, gu 'ſhlighe a thabhairt air a
cheann féin, agus a' fireanachadh [g] an
fhìrein, a thabhairt da a réir 'fhirean-
tachd [h].
33 An uair a bhuailear do ſhluagh
Iſrael an làthair an nàmhaid, a chionn
gu'n do pheacaich iad a't' aghaidh, a-
gus a philleas iad rìut, agus a
dh'aidicheas iad t'ainm, agus a ni iad
urnuigh, agus a ghuidheas iad ort
anns an tigh ſo;
34 An ſin éiſd thuſa o na nèamh-
aibh, agus maith peacadh do ſhluaigh
Iſraeil, agus thoir a rìs iad do'n
fhearann a thug thu d'an aithrichibh.
35 An uair a dhruidear na nèamha,
agus nach *bi* uiſge ann, a chionn gu'n
do pheacaich iad a't' aghaidh-ſa, agus
a ni iad urnuigh a dh'ionnſuidh an
àite ſo, agus a dh'aidicheas iad t'ainm,
agus a dh'iompoichear iad o'm
peacadh, an uair a chuireas tu fuidh
àmhghar iad;
36 An ſin éiſd thuſa o na nèamh-
aibh, agus maith peacadh do ſheirbhiſ-
each, agus do ſhluaigh Iſraeil, a chum
as gu'n teagaiſg thu dhoibh an t-ſlighe
mhaith anns an còir dhoibh gluaſad,
agus gu'n cuir thu uiſge air t'fhearann,
a thug thu do d' ſhluagh mar oighr-
eachd.
37 Ma bhios gortadh anns an tìr,
ma bhios plàigh ann, ſeargadh, fuar-
dhealt [i], locuiſt, ma bhios burruis [j]
ann; ma theannaicheas [k] a nàmhaid
e ann an tìr a bhailte, ciod air bith
plàigh, ciod air bith euſlaint *a bhios
ann*:
38 Ge b'e urnuigh, ge b'e ath-
chuinge a chuirear ſuas le duine ſam
bith, *no* le d' ſhluagh Iſrael uile, ma
bhios fios aig gach aon air plàigh a
chridhe féin, agus *ma* ſgaoileas e mach
a làmhan a dh'ionnſuidh an tighe ſo;
39 An ſin éiſd thuſa o na nèamh-
aibh t'àite-còmhnuidh, agus maith, a-
gus dean, agus thoir do gach duine a
réir a ſhlighean uile, a tha fios agad
air a chridhe; (oir is ann agadſa,
agadſa mhàin a tha fios air cridheach-
aibh uile chloinn nan daoine:)
40 A chum gu'm bi eagal orra
romhad-ſa rè nan uile laithean a bhios
iad beo anns an fhearann [l], a thug
thu d'ar n-aithrichibh.
41 Os bàrr [m], a thaobh coigrich
nach

[a] *fìrinnichear.* [b] *biodh ſuim agad do.* [c] *'uſlach.* [d] *a làimh an àite ſo, anns an àite ſo.* [e] *ann ad àite-còmhnuidh, ann am flaitheanas.* [f] *lagh.* [g] *a' ſaoradh, glanadh.* [h] *'ionracais.* [i] *crith-reothh, mill-cheo, earc-dhrùchd.* [j] *luſchuach; caterpillar.* Saſg. *baſil.* Eabh. [k] *chùmbaingicheas, chuairticheas.* [l] *air aghaidh an fhearainn.* Eabh. [m] *A thuill' air ſin.*

nach *'eil* do d' shluagh Israel, ach a
thig a tìr chéin [a] air sgàth t'ainm-sa,
42 (Oir cluinnidh iad mu t'ainm
mòr-sa, agus mu d' làimh làidir, a-
gus do ghairdean sìnte-mach ;) an uair
a thig e agus a ni e urnuigh a dh'ionn-
suidh an tighe so ;
43 Eisd thusa o na nèamhaibh
t'àite-còmhnuidh, agus dean a réir
nan uile *nithe* mu'n glaodh an coig-
reach riut : a chor as gu'm bi eòlas
aig uile shlòigh na talmhainn air
t'ainm-sa, chum gu'm bi eagal orra
romhad mar *a ta air* do shluagh Is-
rael, agus gu'm bi fios aca gu bheil an
tigh so a thog mise air 'ainmeachadh
ort.
44 Ma théid do shluagh a mach a
chogadh an aghaidh an naimhde, ge
b'e rathad a chuireas tu iad, agus gu'n
dean iad urnuigh ris an Tighearn a
làimh [b] a' bhaile a ròghnaich thusa, a-
gus an tighe a chuir mise suas do
t'ainm ;
45 An sin éisd thusa o na nèamh-
aibh r'an urnuigh agus r'an ath-
chuinge, agus seas [c] an còir.
46 Ma pheacaicheas iad a't' agh-
aidh, (oir cha *'n'eil* duine ann nach
peacaich,) agus gu'n las t'fhearg nan
aghaidh, agus gu'n dthoir thu thairis
iad d'*an* naimhdibh, agus gu'n dthoir
iad leo nam braighdibh iad do thìr
an naimhde, am fad no'm fagus ;
47 *Gidheadh*, ma ni iad aithreachas
nan cridhe [d] anns an tìr d'an d'thug-
adh nam braighdibh iad, agus ma
dh'iompoichear iad, agus ma ghuidh-
eas iad ort ann an tìr na muinntir a
thug leo nam braighdibh iad, ag ràdh,
Pheacaich sinn, rinn [e] sinn gu h-eucor-
ach, rinn sinn gu h-aingidh ;
48 Agus *mar so* ma philleas iad a't'
ionnsuidh-sa le'n [f] uile chridhe, agus
le'n uile anam, ann an tìr an naimhde,
a thug leo nam braighdibh iad, agus
ma ni iad urnuigh riutsa rathad an
tìre féin, a thug thu d'an aithrichibh,
rathad a' bhaile a ròghnuich thu, a-
gus an tighe a thog mi do t'ainm ;
49 An sin éisd thusa o na nèamh-
aibh, t'àite-còmhnuidh, r'an urnuigh
agus r'an athchuinge, agus seas an
còir,
50 Agus maith do d' shluagh a
pheacaich a't' aghaidh, agus an eus-
aontais uile a rinn iad a't' aghaidh, a-
gus faigh truas dhoibh an làthair na
muinntir a thug leo nam braighdibh
iad, a chum as gu'n gabh iad truas riu :
51 Oir *is iad* do shluagh-sa agus
t'oighreachd iad, a thug thu mach as
an Eiphit, a meadhon na h-àmhuinne
iaruinn :
52 A chum as gu'm bi do shùile
fosgailte ri athchuinge do sheirbhis-
ich, agus ri athchuinge do shluaigh
Israeil, a dh'éisdeachd riu anns gach
ni mu'n gairm iad ort.
53 Oir dhealaich thu iad chum
oighreachd dhuit féin o uile shluagh
na talmhainn, mar a labhair thu le
làimh Mhaois t'òglaich féin, an uair
a thug thu ar n-aithriche mach as an
Eiphit, a Thighearna Dhé.
54 Agus an uair a chuir Solamh
crìoch air an urnuigh so uile a dhean-
amh ris an Tighearn, agus an
athchuinge so, dh'éirich e o bheulaobh
altarach an Tighearna, o e féin a
lùbadh air a ghlùinibh, agus a làmh-
an sgaoilte dh'ionnsuidh nan nèamh :
55 Agus sheas e, agus bheannaich
e uile choimhthional Israeil, le guth
mòr, ag ràdh,
56 Gu ma beannaicht' an Tigh-
earn a thug suaimhneas [g] d'a shluagh
Israel, a réir nan uile *nithe* a labhair [h]
e : cha do thuit [i] aon fhocal *gu làr*
d'a bhriathraibh maithe uile, a labh-
air e le làimh Mhaois, 'òglaich féin.
57 Gu'n robh an Tighearn ar Dia
maille ruinne, mar a bha e maille ri'r
n-aithrichibh : na fàgadh e sinn, agus
na tréigeadh e sinn :
58 A chu'm as gu'n aom e ar
cridhe thuige [j] féin, a ghluasad na
shlighibh uile, agus a ghleidheadh
'àitheanta, agus a reachdan, agus a
bhreitheanasa, a dh'àithn e d'ar
n-aithrichibh.
59 Agus gu'n robh na briathra so
agamsa, leis an do chuir mi suas
athchuinge am fianuis an Tighearna,
am

[a] *fad as.* [b] *a dh'ionnsuidh.* [c] *cum suas ; dean.* Eabh.
[d] *ma philleas iad d'an cridhe.* Eabh. [e] *agus rinn.* [f] *nan.* Eabh.
[g] *sois, tàmh.* [h] *gheall.* [i] *cha d'fhàilnich.* [j] *chuige.*

am fagus do'n Tighearn ar Dia a là
agus a dh'oidhche, a chum as gu'n
seas e còir a sheirbhisich, agus còir a
shluaigh Israeil, anns gach àm, mar a
dh'iarras a' chùis [a]:
60 A chum gu'm bi fios aig uile
shluagh na talmhainn gur e'n Tigh-
earn a's Dia ann, agus nach *'eil* ann
ach e.
61 Bitheadh bhur cridhe uime sin
iomlān leis an Tighearn ar Dia, a
ghluasad na reachdaibh, agus a ghleidh-
eadh 'àitheanta, mar air an la'n
diugh.
62 Agus dh'iobair an righ, agus
Israel uile maille ris, iobairt am fianuis
an Tighearna.
63 Agus dh'iobair Solamh iobairt
thabhartasa-sith, a dh'iobair e do'n
Tighearna, dà mhile thar fhichead
bò, agus ceud agus fichead mìle caora:
mar sin choisrig [b] an righ, agus clann
Israeil uile, tigh an Tighearna.
64 Air an là sin féin naomhaich an
righ meadhon na cùirte, a *bh*'air
beulaobh tighe an Tighearna: oir
thug e suas an sin iobairte-loisgte, a-
gus tabhartasa bìdh, agus saill nan
tabhartas sith; a chionn gu'*n robh* an
altair umha a *bha*'m fianuis an Tigh-
earna, ro-bheag a ghabhail nan
iobairt-loisgte, agus nan tabhartas-
bidh, agus saill nan tabhartas sìth.
65 Agus chum Solamh anns an
àm sin féill [c], agus Israel uile maille
ris, coimhthional mòr, o dhol a stigh
Hamait gu ruig abhuinn na h-Eiphit,
am fianuis an Tighearn ar Dé, seachd
laithean agus seachd laithean, *eadhon*
ceithir là deug.
66 Air an ochdamh là leig e air
falbh an sluagh: agus bheannaich iad
an righ, agus chaidh iad a dh'ionn-
suidh am bùth, subhach agus aoibhinn
nan cridhe, air son a' mhaith uile a
rinn an Tighearna do Dhaibhidh a
sheirbhiseach agus d'a shluagh Israel.

CAIB. IX.

AGUS an uair a chuir Solamh
crìoch air tigh an Tighearn, a-
gus tigh an righ a thogail, agus uile
mhiann Sholaimh bu taitneach leis a
dheanamh,
2 Dh'fhoillsich an Tighearn e féin
do Sholamh an dara h-uair, mar a
dh'fhoillsich se e féin da ann an Gibe-
on.
3 Agus thubhairt an Tighearna
ris, Chuala mi t'urnuigh agus t'ath-
chuinge a chuir thu suas a'm' fhianuis:
naomhaich mi an tigh so a thog thu,
a chur m'ainme an sin gu bràth; a-
gus bithidh mo shùilean agus mo
chridhe an sin gach la [d].
4 Agus ma ghluaiseas tusa ann am
fhianuis, mar a ghluais Daibhidh
t'athair, ann an iomlaine cridhe, agus
ann an ionracas, a dheanamh a réir
nan uile *nithe* a dh'àithn mise dhuit,
agus gu'n gléidh thu mo reachdan a-
gus mo bhreitheanais,
5 An sin daingnichidh mise caithir
do rìoghachd air Israel gu bràth, mar
a labhair mi ri Daibhidh t'athair, ag
ràdh, Cha bhi duine dhìth ort air
righ-chaithir Israeil.
6 Ach ma thionndaidheas sibh da
rireadh o'm leantuinnsa, *sibh féin* agus
bhur clann, agus nach gléidh sibh
m'àitheantan *agus* mo reachdan a chuir
mi roimhibh, ach gu'm falbh sibh a-
gus gu'n dean sibh seirbhis do dhéibh
eile, agus gu'n sleuchd sibh [e] dhoibh:
7 An sin gearraidh mise Israel as
bhàrr aghaidh an fhearainn a thug
mi dhoibh; agus an tigh so a naomh-
aich mi do m'ainm féin, tilgidh mi
as mo shealladh; agus bithidh Israel
na ghnàth-fhocal, agus na leth-fhocal [f]
am measg nan uile shluagh:
8 Agus an tigh so a bha [g] *co* ard,
gach neach a ghabhas seachad air,
bithidh iongnadh air, agus ni e sgeig [h];
agus their iad, C'ar son a rinn an
Tighearna mar so ris an tìr so, agus
ris an tigh so?
9 Agus freagraidh [i] iad, A chionn
gu'n do threig iad an Tighearn an
Dia, a thug a mach an aithriche a
tìr na h-Eiphit, agus gu'n do ghabh
iad d'an ionnsuidh [j] diathan eile, a-
gus

[a] *gnothuch gach là na latha féin.* Eabh. [b] *naomhaich.* [c] *cuirm, feisd.* [d] *an còmhnuidh.* [e] *crom sibh sìos.* Eabh. [f] *focal-fochaid.* [g] *tla.* [h] *feadaidh e: he will hiss.* Sasg. [i] *their.* Eabh. [j] *rinn iad greim air.*

gus gu'n do fhleuchd iad dhoibh, a-
gus gu'n do rinn iad seirbhis dhoibh:
uime sin thug an Tighearn orra an
t-olc so uile.

10 Agus an ceann fhichead bliadh-
na, anns an do thog Solamh an dà
thigh, tigh an Tighearn agus tigh an
righ,

11 *A chionn gu'n* d'thug Hiram
righ Thìruis seachad do Sholamh
fiodh seudair, agus fiodh giuthais, a-
gus òr, gu 'uile thoil, an sin thug righ
Solamh do Hiram fichead baile ann
an tìr na Galile.

12 Agus thàinig Hiram a mach a
Tirus a dh'fhaicinn nam bailtean a
thug Solamh dha; ach cha do thaitinn
iad ris.

13 Agus thubhairt e, Ciod iad na
bailte sin a thug thu dhomh, a bhràth-
air? Agus thugadh fearann Chabuil
mar ainm orra gus an la'n diugh.

14 Agus chuir Hiram a dh'ionn-
suidh an righ sè fichead tàlann òir.

15 Agus *is e* so aobhar na cìse a
thog righ Solamh a thogail tighe an
Tighearna, agus a thighe féin, agus
Mhilo, agus ballaidh Ierusaleim, agus
Hasoir, agus Mhegido, agus Ghefeir.

16 Chaidh Pharaoh righ na
h-Eiphit suas, agus ghlac e Gefer, a-
gus loisg sé e le teine, agus mharbh e
na Canaanaich a bha chòmhnuidh sa'
bhaile, agus thug se e *mar* thiodhlac
d'a nighinn, mnaoi Sholaimh.

17 Agus thog Solamh Gefer, agus
Bet-horon ìochdarach,

18 Agus Baalat, agus Tadmor san
fhàsach, anns an tìr,

19 Agus na h-uile bhailte ionmhais
a bh'aig Solamh, agus bailtean a
charbad, agus bailtean a mharc-
fhluaigh, agus miann Sholaimh a
mhiannaich e thogail ann an Ierusa-
lem, agus ann an Lebanon, agus ann
an tìr a thighearnais [a] uile.

20 *Agus* an sluagh uile a dh'fhàgadh
leo do na h-Amoraich, *do* na Hitich,
do na Perisich, *do* na Hibhich, agus *do*
na Iebusaich, nach *robh* do chloinn Is-
raeil,

21 An clann a dh'fhàgadh nan
déigh san tìr, nach b'urrainn clann
Israeil a sgrios gu tur, dhiubhsan thog
Solamh daor-chìs gus an la'n diugh.

22 Ach do chloinn Israeil cha
d'rinn Solamh tràill sam bith: ach
bha iad nam fir-chogaidh, agus nan
seirbhisich aige, agus nan uachdaran-
aibh, agus nan ceannardaibh, agus
nan riaghlairibh a charbad agus a
mharc-fhluaigh.

23 *B'iad* so uachdarain an luchd-
dreuchd a *bha* os cionn oibre Sholaimh,
cùig ceud agus leth cheud, a riaghail
os cionn an t-sluaigh a dh'oibrich san
obair.

24 Ach chaidh nighean Pharaoih
suas a baile Dhaibhidh d'a tigh féin,
a thog *Solamh* dh'i: an sin thog e
Milo.

25 Agus dh'ìobair Solamh trì uaire
sa' bhliadhna ìobairte-loisgte, agus
ìobairte-sìth air an altair a thog e do'n
Tighearna, agus loisg e tùis air an
altair a *bha* [b] 'm fianuis an Tighearna:
agus chrìochnaich e 'n tigh.

26 Agus rinn righ Solamh loin-
geas [c] ann an Esion-geber, a *tha*
làimh ri Elot, air tràigh na mara
ruaidhe, ann an tìr Edoim.

27 Agus chuir Hiram anns an
loingeas 'òglaich féin, maraichean [d]
aig an robh eòlas na fairge, maille ri
òglaich Sholaimh.

28 Agus thàinig iad gu h-Ophir
agus thug iad as sin òr, ceithir cheud
agus fichead tàlann, agus thug iad gu
righ Solamh *e*.

CAIB. X.

AGUS an uair a chuala ban-
righinn [e] Sheba cliu Sholaimh
ann an ainm [f] an Tighearna, thàinig
i g'a dhearbhadh le ceisdibh cruaidhe [g]

2 Agus thàinig i do h-Ierusalem le
cuideachd ro-mhòir, le càmhalaibh a'
giùlan spìosraidh [h], agus ro-mhòran
òir agus chlacha luachmhor [i]: agus
thàinig i dh'ionnsuidh Sholaimh, agus
labhair i ris gach ni a bha na cridhe.

3 Agus mhìnich Solamh dh'i a
briathran

[a] *'uachdaranachd.* [b] *oirre-san a* bha. Eabh. [c] *long.*
[d] *sciopairean.* [e] *ban-righ.* [f] *agus ainm.* [g] *toimhseachanaibh.*
[h] *nithe cùbhraidh.* [i] *leug.*

briathran[a] uile: cha robh ni *air bith* am folach air an righ nach do mhìnich e dh'i.

4 Agus an uair a chunnaic ban-righinn Sheba uile ghliocas Sholaimh, agus an tigh a thog e,

5 Agus biadh a bhuird, agus suidhe[b] a sheirbhiseach, agus seith-eamh a luchd-frithealaidh, agus an truscan[c], agus a ghillean-cupain, agus a dhol suas air an deachaidh e suas gu[d] tigh an Tighearna, cha robh spiorad innte ni's mò.

6 Agus thubhairt i ris an righ, B'fhìor an t-iomradh[e] a chuala mise ann am thìr féin air do ghnìomharaibh[f], agus air do ghliocas.

7 Gidheadh, cha do chreid mi na briathra, gus an d'thàinig mi, agus gu'm faca mo shùilean féin *e;* agus feuch, cha d'innseadh a leth dhomh: chaidh do ghliocas agus do shoirbheachadh thar[g] an iomradh a chuala mi.

8 *Is* sona do dhaoine, *is* sona iad so do sheirbhisich a sheasas a't' fhianuis an còmhnuidh, ag éisdeachd ri d' ghliocas.

9 Gu ma beannaichte an Tighearna do Dhia, a ghabh tlachd annad gu d' chur air righ-chaithir Israeil: a chionn gu bheil gràdh aig an Tighearn do Israel gu bràth, uime sin rinn e thusa a'd' righ, a dheanamh breitheanais agus ceartais.

10 Agus thug i do'n righ sè fichead tàlann òir, agus ro-mhòran do spìosraidh, agus clachan luachmhor: (cha d'thàinig riamh tuilleadh a leithid so do phailteas spìosraidh, as a thug ban-righinn Sheba do righ Solamh.

11 Agus mar an ceudna loingeas[h] Hiraim a ghiùlain òr o Ophir, thug i o Ophir ro-mhòran do fhiodh[i] almuig, agus clacha luachmhor.

12 Agus rinn an righ do'n fhiodh almuig puist do thigh an Tighearna, agus do thigh an righ, clàrsaichean mar an ceudna agus saltairean do'n luchd-ciuil: cha d'thàinig a leithid so do fhiodh almuig, agus cha'n fhacas *a leithid* gus an la'n diugh.)

13 Agus thug righ Solamh do bhan-righinn Sheba a h-uile mhiann a dh'iarr i, a thuilleadh air na thug e dh'i a réir 'fhialaidheachd rìoghail féin[j]: agus phill i, agus dh'fhalbh i d'a tìr, i féin agus a seirbhisich.

14 A nis b'e cothrom[k] an òir a thàinig gu Solamh ann an aon bliadhna, sè ceud, tri fichead, agus sè tàlannan òir:

15 A thuilleadh air *na fhuair e* o na ceannaichibh, agus o mhalairt[l] an luchd-spìosraidh, agus o uile righibh Arabia, agus o uachdaranaibh na tìre.

16 Agus rinn righ Solamh dà cheud sgiath *do* òr buailte[m]: sè ceud *secel* òir chuir e chum gach sgéithe.

17 Agus *rinn e* tri cheud targaid *do* òr buailte: tri puind òir chuir e chum gach targaide: agus chuir an righ iad ann an tigh frìthe Lebanoin.

18 Rinn an righ mar an ceudna righ-chaithir mhòr do fhiaclaibh *elephant*, agus chòmhdaich e i leis an òr bu ghloine.

19 *Bha* sè ceuman aig an righ-chaithir, agus *bha* mullach na righ-chaithreach cruinn o cùl; agus *bha* làmhan air gach taobh do'n àite-shuidhe, agus dà leomhan a' seasamh làimh ris na làmhan.

20 Agus sheas dà leòmhan dheug an sin air na sè ceumaibh, air an taobh so agus air an taobh ud: cha d'rinneadh a leithid ann an rìoghachd air bith *eile*.

21 Agus *bha* uile shoithichean òil righ Solaimh *do* òr, agus uile shoithichean tighe frìthe Lebanoin *do* òr fìor-ghlan: cha robh aon diubh *do* airgiod; cha robh meas air bith dheth ann an laithibh Sholaimh.

22 Oir *bha* loingeas Tharsis aig an righ air muir maille ri loingeas Hiraim: aon uair anns na tri bliadhnaibh thàinig loingeas Tharsis, a' giùlan

[a] *ceisdean.* [b] *còmhnuidh.* [c] *earradh, eudach.* [d] *na h-ìobairte-loisgte a dh'ìobair e ann.* [e] *B'fhìrinn am focal.* [f] *do bhriathraibh, do radhaibh.* [g] *chuir thu gliocas agus maith ris.* Eabh. [h] *long.* [i] *chrannaibh.* [j] *a réir làimhe righ Solaimh.* Eabh. [k] *cudthrom.* [l] *cheannaigheachd, ghnothuichibh.* [m] *fìor-ghlan.*

giùlan òir agus airgid, fhiacal eleph-
ant, agus apa, agus pheucag [a].
23 Mar so thug righ Solamh barr-
achd air uile righibh an domhain ann
an saibhreas, agus ann an gliocas.
24 Agus dh'iarr an talamh uile
teachd an làthair [b] Sholaimh, a
dh'éisdeachd r'a ghliocas, a chuir Dia
na chridhe.
25 Agus thug iad leo gach fear a
thiodhlacadh; soithichean airgid agus
soithichean òir, agus truscana, agus
airm, agus spìosraidh, eich agus
muileidean; cuibhrionn [c] bliadhna
anns gach bliadhna.
26 Agus chruinnich Solamh car-
baid agus marc-shluagh: agus bha
mìle agus ceithir cheud carbad aige,
agus dà mhìle dheug marcach; a
chuir e ann am bailtibh nan carbad [d],
agus maille ris an righ ann an Ierusa-
lem.
27 Agus thug an righ air airgiod *a*
bhi ann an Ierusalem mar chlachan,
agus air na crannaibh seudair thug e
bhi mar na croinn shicomoir a *tha*
anns an t-srath, air lionmhoireachd.
28 Agus thugadh eich do Sholamh
a mach as an Eiphit, agus snàth-lìn:
ghabh ceannaichean an righ an snàth-
lìn air luach.
29 Agus thàinig carbad a nìos agus
chaidh e mach as an Eiphit air shè
ceud *secel* airgid, agus each air cheud
gu leth: agus mar sin do uile righibh
nan Hiteach, agus do righibh Shiria,
thug iadsan a mach *iad* le'n làimh.

C A I B. XI.

AGUS *bha* gaol aig righ Solamh
air mòran do mhnaibh coimh-
each [e], a thuilleadh air nighinn Phar-
aoih, Ban-mhoabaich, Ban-amonaich,
Ban-edomaich, Ban-shidonaich, *agus*
Ban-hitich;
2 Do na cinneachaibh mu'n d'thu-
bhairt an Tighearna ri cloinn Israeil,
Cha dthéid sibhse a steach d'an ionn-
suidh-san, cha mhò a thig iadsan a
steach d'ar n-ionnsuidh-sa; *oir* gu
deimhin bheir iad air bhur cridhe
claonadh an déigh an dée: riu so
dhlùth lean Solamh ann an gaol.
3 Agus bha seachd ceud bean aige,
mar bhan-righinnean, agus tri cheud
coimh-leabach: agus thug a mhnài air
a chridhe claonadh.
4 Oir thachair, ann an àm sean
aois Sholaimh, *gu'n* do chlaon a mhnài
a chridhe an déigh dhiathan eile; a-
gus cha robh a chridhe iomlan leis an
Tighearn a Dhia, mar *a bha* cridhe
Dhaibhidh 'athar.
5 Oir chaidh Solamh an déigh As-
taroit ban-dé nan Sidonach, agus an
déigh Mhilcoim gràineilcachd nan
Amonach.
6 Agus rinn Solamh olc ann an
sùilibh an Tighearna: agus cha do
lean e gu coimhlionta an Tighearna,
mar *a rinn* Daibhidh 'athair.
7 An sin thog Solamh ionad ard do
Chemos, gràineileachd Mhoaib, anns
an t-sliabh a *tha* mu choinneamh
Ierusaleim; agus do Mholech, gràin-
eileachd chloinn Amoin.
8 Agus air an dòigh cheudna rinn
e d'a mhnaibh coimheach uile, a loisg
tùis agus a thug suas ìobairt d'an
déibh.
9 Agus bha fearg air an Tighearna
ri Solamh, a chionn gu'n do chlaon a
chridhe o'n Tighearna Dia Israeil, a
dh'fhoillsich e féin dha dà uair,
10 Agus *a* dh'àithn dha a thaobh-
an ni so, nach rachadh e'n déigh
dhiathan eile: ach cha do ghléidh esan
an ni a dh'àithn an Tighearna.
11 Uime sin thubhairt an Tighear-
na ri Solamh, A chionn gu'n d'rinn-
eadh so leat [f], agus nach do ghléidh
thu mo choimhcheangal-sa, agus mo
reachdan a dh'àithn mi dhuit, gu
deimhin reubaidh mise an rìoghachd
uait, agus bheir mi do d' sheirbhis-
each i.
12 Gidheadh ann ad laithibhsa cha
dean mi so, air sgàth Dhaibhidh
t'athar: as làimh do mhic reubaidh
mi i.
13 Ach cha reub mi an rìoghachd
uile: bheir mi aon treubh [g] do d'
mhac air sgàth Dhaibhidh m'òglaich,
agus air sgàth Ierusaleim a thagh
mi.
14 Agus dhùisg an Tighearna
nàmhaid

[a] *pheabh-eun.* [b] *dh'iarr an talamh uile gnùis* Eabh. [c] *ni.* Eabh.
[d] *air son charbad.* [e] *a bha nan coigrich.* [f] *gu'n robh so maille riut.* Eabh.
[g] *fhineadh.*

nàmhaid ſuas do Sholamh, Hadad an
t-Edomach: *bha* e do'n t-ſliochd rìogh-
ail ann an Edom.
15 Oir an uair a bha Daibhidh
ann an Edom, *agus* a chaidh Ioab
ceannard an t-ſlòigh ſuas a dh'adhlac-
adh nam marbh, an déigh dha gach
firionnach ann an Edom a bhualadh,
16 (Oir dh'fhan Ioab sè mìoſan an
ſin, agus Iſrael uile, gus an do ghearr
e as gach firionnach ann an Edom)
17 Theich Adad, e féin agus
Edomaich àraidh do ſheirbhiſich
'athar maille ris, gu dol a ſtigh do'n
Eiphit; agus Hadad fathaſt na lean-
aban òg.
18 Agus dh'éirich iad a Midian, a-
gus thàinig iad gu Paran, agus thug
iad daoine leo a Paran, agus thàinig
iad do'n Eiphit, gu Pharaoh righ na
h-Eiphit, agus thug eſan dha tigh, a-
gus dh'òrduich e lòn dha, agus thug
e fearann dha.
19 Agus fhuair Hadad deagh-
ghean [a] mòr ann an sùilibh Pharaoih,
air chor as gu'n d'thug e dha na
mnaoi piuthar a mhna féin, piuthar
Thahpeneis na ban-righinn.
20 Agus rug piuthar Thahpeneis
dha Genubat a mhac, a chuir Tah-
penes bhàrr na cìche ann an tigh
Pharaoih: agus bha Genubat ann an
teaghlach Pharaoih am meaſg mhac
Pharaoih.
21 Agus an uair a chuala Hadad
'ſan Eiphit gu'n do choidil [b] Daibhidh
maille r'a aithrichibh, agus gu'n robh
Ioab ceannard an t-ſlòigh marbh,
thubhairt Hadad ri Pharaoh, Leig
dhomh imeachd, a chum gu'n dthéid
mi do m' thìr féin.
22 Agus thubhairt Pharaoh ris,
Ach ciod a tha dh'eaſbhuidh ort
maille riumſa, gu'n iarradh tu, feuch,
dol do d' thìr féin? Agus fhreagair
eſan, Cha *'n'eil ni air bith*, gidheadh
leig dhomh falbh air gach aon chor.
23 Agus dhùiſg Dia ſuas nàmhaid
eile dha, Reſon mac Eliadah, a theich
o Hadareſer [c], righ Shobah, a thigh-
earna.
24 Agus chruinnich e daoine
thuige [d], agus bhà e na cheannard air
buidhinn, an uair a mharbh Daibhidh
iadſan *o Shobah*: agus chaidh iad do
Dhamaſcus, agus chòmhnuich iad
ann, agus rinn iad e na righ [e] ann an
Damaſcus.
25 Agus bhà e na nàmhaid do Iſ-
rael rè uile làithean Sholaimh, a
thuilleadh air an olc a *rinn* Hadad:
agus dh'fhuathaich e Iſrael, agus
rìoghaich e os cionn Edoim [f].
26 Agus Ieroboam mac Nebait,
Ephratach o Shereda, ſeirbhiſeach do
Sholamh (agus *b'e* ainm a mhàthar
Seruah, bantrach) thog eadhon eſan
a làmh an aghaidh an righ.
27 Agus *b'e* ſo an t-aobhar mu'n
do thog e *a* làmh an aghaidh an righ:
Thog Solamh Milo, *agus* chàirich e
bearnan [g] bhaile Dhaibhidh 'athar.
28 Agus *bha*'n duine Ieroboam
treun ann an neart: agus an uair a
chunnaic Solamh gu'n robh an t-òg-
anach deanadach, chuir ſe e os cionn
uile luchd-giùlain uallach [h] tighe
Ioſeiph.
29 Agus thachair anns an àm ſin,
air dol do Ieroboam a mach a h-Ieru-
ſalem, gu'n d'fhuair am fàidh Ahiah
an Silonach e ſan t-ſlighe, agus *e*
ſgeadaichte le truſcan [k] ùr: agus *bha*
iad nan dithis leo féin anns a' mhach-
air.
30 Agus rug Ahiah air an truſcan
ùr a *bha* air, agus reub e *na* dhà mhìr
dheug e.
31 Agus thubhairt e ri Ieroboam,
Gabh dhuit féin deich mìrean; oir
mar ſo tha'n Tighearna Dia Iſrael ag
ràdh, Feuch, reubaidh miſe an
rìoghachd as làimh Sholaimh, agus
bheir mi deich treubhan dhuitſe:
32 (Ach bithidh aon treubh aige-
ſan air ſgàth Dhaibhidh m'òglaich, a-
gus air ſgàth Ieruſaleim, am baile a
thagh mi as uile threubhan Iſrael)
33 A chionn gu'n do thréig iad
miſe, agus gu'n do ſhleuchd iad [l] do
Aſtarot bain-dia nan Sidonach, do
Chemos dia nam Moabach, agus do
Mhilcom dia chloinn Amoin, agus
nach do ghluais iad ann am ſhlighibh-
ſa,

[a] *bàigh.* [b] *luidh.* [c] *Hadadeſer.* [d] *chuige.*
[e] *rìoghaich iad.* [f] *Shiria.* [g] *dhùin e ſuas briſeadh.* [h] *uile chùraim.*
[k] *eudach-uachdair, falluing.* [l] *chrom ſiad iad féin.* Eabh.

ſa, a dheanamh an *ni a ta* ceart a'm'
ſhùilibh, agus *a ghleidheadh* mo reachd-
an agus mo bhreitheanaſa, mar *a*
rinn Daibhidh 'athair.

34 Gidheadh, cha dthoir mi'n
rìoghachd uile as a làimh, ach ni mi
e na uachdaran[a] rè uile làithean a
bheatha, air ſgàth Dhaibhidh m'òg-
laich, a thagh mi, a chionn gu'n do
ghléidh e m'àitheanta agus mo reachda.

35 Ach bheir mi'n rìoghachd as
làimh a mhic, agus bheir mi dhuitſe
i, *eadhon* deich treubhan.

36 Agus d'a mhac-ſan bheir mi
aon treubh, a chum gu'm bi lòchran
aig Daibhidh m'òglach an còmhnuidh
a'm fhianuis ann an Ieruſalem, am
baile a thagh mi dhomh féin a chur
m'ainme an ſin.

37 Agus gabhaidh mi thuſa, agus
rìoghaichidh tu a réir nan uile *nithe* a
mhiannaicheas t'anam, agus bithidh
tu a'd' righ air Iſrael.

38 Agus ma dh'éiſdeas tu ris na
h-uile *nithibh* a dh'àithneas miſe dhuit,
agus gu'n gluais thu ann am ſhlighibh,
agus gu'n dean thu an *ni a ta* ceart
a'm' ſhùilibh, a ghleidheadh mo
reachdan agus m'àitheanta, mar a
rinn Daibhidh m'òglach; an ſin
bithidh miſe maille riut, agus togaidh
mi dhuit tigh daingean, mar a thog
mi do Dhaibhidh, agus bheir mi Iſ-
rael dhuit.

39 Agus cràdhaidh mi[b] ſliochd
Dhaibhidh air a ſhon ſo, ach cha'n
ann gu bràth.

40 Uime ſin dh'iarr Solamh Iero-
boam a mharbhadh. Ach dh'éirich
Ierobom, agus theich e do'n Eiphit, a
dh'ionnſuidh Shiſaic righ na h-Eiphit,
agus bha e ſan Eiphit gu bàs Sho-
laimh.

41 Agus a' chuid eile do ghnìomh-
araibh[c] Sholaimh, eadhon[d] na h-uile
nithe a rinn e, agus a ghliocas, nach
'eil iad ſgrìobhta ann an leabhar
ghnìomhara Sholaimh?

42 Agus *b'i* an ùine[e] a rìoghaich
Solamh ann an Ieruſalem os cionn Iſ-
raeil uile, dà fhichead bliadhna.

43 Agus choidil[f] Solamh maille r'a
aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh e
ann am baile Dhaibhidh 'athar: agus
rìoghaich Rehoboam a mhac na àite.

CAIB. XII.

AGUS chaidh Rehoboam do She-
chem: oir thàinig Iſrael uile
gu Sechem gu 'dheanamh na righ.

2 Agus an uair a chuala Ieroboam,
mac Nebait, a bha fathaſt anns an
Eiphit *ſin* (far an do theich e o ghnùis
righ Solaimh) phill Ieroboam as an
Eiphit[g].

3 Agus chuir iad *fios* agus ghairm
iad air: agus thàinig Ieroboam, agus
coimhchruinneachadh Iſraeil uile, agus
labhair iad ri Rehoboam, ag ràdh,

4 Dh'antromaich t'athair ar cuing-
ne, ach eutromaich thus' a nis ſeir-
bhis[h] chruaidh t'athar, agus a chuing
throm a chuir e oirnn, agus ni ſinn
ſeirbhis dhuit.

5 Agus thubhairt e riu, Falbhaibh
fathaſt *gu ceann* thri laithean, an ſin
thigibh a rìs a'm' ionnſuidh. Agus
dh'fhalbh an ſluagh.

6 Agus chuir righ Rehoboam a
a chomhairle ris na ſeann daoinibh a
ſheas an làthair Sholaimh 'athar, an
uair bu bheo e, ag ràdh, Cionnus a
tha ſibh a' comhairleachadh *dhomh*
freagradh a thabhairt do'n t-ſluagh
ſo?

7 Agus labhair iadſan ris, ag ràdh,
Ma bhios tuſa an diugh a'd' fheirbhiſ-
each aig an t-ſluagh ſo, agus gu'n
dean thu ſeirbhis dhoibh, agus gu'm
freagair thu iad, agus gu'n labhair
thu focail mhaithe riu, an ſin bithidh
iadſan agadſa nan ſeirbhiſich gu
bràth[k].

8 Ach thréig eſan comhairle nan
ſeann daoine, a thug iad air; agus
chuir e 'chomhairle ris na daoinibh òga
a dh'fhàs ſuas maille ris *féin, agus* a
ſheas na làthair.

9 Agus thubhairt e riu, Ciod *a tha*
ſibhſe a' comhairleachadh, a chum
as gu'n dthoir ſinn freagradh do'n
t-ſluagh ſo, a labhair rium, ag ràdh,

Eutromaich

[a] *na cheannard, na phrionnſadh.* [b] *cuiridh mi fa àmhghar.* [c] *bhriathr-aibh.* [d] *agus.* [e] b'iad *na laithean.* Eabh. [f] *luidh.*
[g] *agus chòmhnuich Ieroboam anns an Eiphit.* Faic II. Eachdr. Caib. X. r. 2.
[h] *tràillidheachd.* [k] *gach uile là.* Eabh.

Eutromaich a' chuing a chuir t'athair oirnn?

10 Agus labhair na daoine òga a dh'fhàs ſuas maille ris *féin* ris, ag ràdh, Mar ſo their thu ris an t-ſluagh ſo a labhair riut, ag ràdh, Dh'antromaich t'athair ar cuing-ne, ach eutromaich thuſa dhuinn *i*; mar ſo labhraidh tu riu, *Tha am meur* a's lugha agamſa ni's gairbhe na leaſraidh m'athar.

11 Agus a nis chuir m'athair gun amharus oirbh cuing throm, ach cuiridh miſe ri bhur cuing: ſmachdaich m'athair ſibh le ſlataibh[a], ach ſmachdaichidh miſe ſibh le ſcorpionaibh[b].

12 Uime ſin thàinig Ieroboam agus an ſluagh uile gu Rehoboam air an treas là, mar a dh'àithn an righ, ag ràdh, Thigibh a'm' ionnſuidh a rìs air an treas là.

13 Agus fhreagair an righ an ſluagh gu garbh: agus thréig e comhairle nan ſeann daoine a thug iad dha.

14 Agus labhair e riu a réir comhairle nan daoine òga, ag ràdh, Dh'antromaich m'athair bhur cuing, agus cuiridh miſe ri bhur cuing; ſmachdaich m'athair ſibh le ſlataibh, ach ſmachdaichidh miſe ſibh le ſcorpionaibh.

15 Mar ſo cha d'éiſd an righ ris an t-ſluagh; oir bha'n t-aobhar o'n Tighearna, chum gu'n coimhlionadh e 'fhocal féin, a labhair an Tighearna le làimh Ahiah an t-Silonaich ri Ieroboam mac Nebait.

16 Agus an uair a chunnaic Iſrael uile nach d'éiſd an righ riu, fhreagair an ſluagh an righ, ag ràdh, Ciod a' chuibhrionn *a th'*againne ann an Daibhidh? agus cha '*n'eil* oighreachd againne ann am mac Ieſe: do d' bhùthaibh, O Iſrael; a nis amhairc air do thigh *féin*, a Dhaibhidh. Agus dh'fhalbh Iſrael d'am bùthaibh.

17 Ach *a thaobh* chloinn Iſraeil a bha chòmhnuidh ann am bailtibh Iudah, rìoghaich Rehoboam os an cionn.

18 An ſin chuir righ Rehoboam Adoram *d'an ionnſuidh* a *bha* os cionn na cìſe; agus chlach Iſrael uile e le clachaibh, agus fhuair e bàs: uime ſin rinn righ Rehoboam cabhag gu dol ſuas[c] d'a charbad, chum as gu'n teicheadh e do h-Ieruſalem.

19 Agus rinn Iſrael ceannairc an aghaidh tighe Dhaibhidh[d] gus an la'n diugh.

20 Agus an uair a chual Iſrael uile gu'n d'thàinig Ieroboam a rìs, chuir iad *fios*, agus ghairm iad air do'n choimh-chruinneachadh, agus rinn iad e na righ air Iſrael uile: cha do lean *aon* tigh Dhaibhidh ach treubh Iudah a mhàin.

21 Agus an uair a thàinig Rehoboam gu h-Ieruſalem, chruinnich e tigh Iudah uile, agus treubh Bheniamin, ceud agus ceithir fichead mìle fear taghta a bha deanta ri cogadh, a chogadh ri tigh Iſraeil, a thoirt na rìoghachd air a h-ais gu Rehoboam mac Sholaimh.

22 Ach thàinig focal Dé gu Semaiah duine le Dia, ag ràdh,

23 Labhair ri Rehoboam mac Sholaimh, righ Iudah, agus ri tigh Iudah agus Bheniamin uile, agus ri fuigheall an t-ſluaigh, ag ràdh,

24 Mar ſo tha'n Tighearn ag ràdh, Na rachaibh ſuas, agus na cogaibh ri'r bràithribh cloinn Iſraeil: pillibh gach duine d'a thigh féin, oir is ann leamſa a rinneadh an ni ſo. Agus dh'éiſd iad ri focal an Tighearna, agus phill iad gu imeachd a réir focail an Tighearna.

25 Agus thog Ieroboam Sechem ann an ſliabh Ephraim, agus chòmhnuich e ann: agus chaidh e mach as ſin, agus thog e Penuel.

26 Agus thubhairt Ieroboam na chridhe, A nis pillidh an rìoghachd gu tigh Dhaibhidh.

27 Ma théid an ſluagh ſo ſuas a dheanamh ìobairtean ann an tigh an Tighearn ann an Ieruſalem, an ſin pillidh cridhe an t-ſluaigh ſo r'an tighearna, ri Rehoboam righ Iudah: agus marbhaidh iad miſe, agus pillidh iad gu Rehoboam righ Iudah.

28 Uime ſin ghabh an righ comhairle

[a] *ſciùrſaibh.* [b] *le ſlataibh calgach coſmhuil ri ſcorpionaibh.*
[c] *chaidh righ Rehoboam le 'uile neart ſuas.* [d] *thréig, dhealaich Iſrael ri tigh Dhaibhidh.*

airle, agus rinn e dà laogh òir, agus
thubhairt e riu, Is mòr oirbh dol suas
gu h-Ierusalem: feuch do dhée, O
Israel, a thug a nìos thu a tìr na
h-Eiphit.
29 Agus shuidhich e aon *diubh*
ann am Betel, agus an *laogh* eile chuir
e ann an Dan.
30 Agus rinneadh an ni so na
pheacadh: oir chaidh an sluagh *a*
shleuchdadh an làthair aoin *diubh*, gu
ruig Dan.
31 Agus rinn e tigh àitean arda,
agus rinn e sagairt do'n chuid a b'isle
do'n t-sluagh [a], nach robh do chloinn
Lebhi.
32 Agus rinn Ieroboam féisd[b]
anns an ochdamh mìos, air a' chùig-
eadh la deug do'n mhìos, cosmhuil ris
an fhéisd a *bha* ann an Iudah, agus
dh'ìobair e[c] air an altair: mar sin
rinn e ann am Betel, ag ìobradh do na
laoghaibh a rinn e: agus shuidhich e
ann am Betel sagarta nan àitean ard a
rinn e.
33 Agus dh'ìobair e air an altair a
rinn e ann am Betel, air a chùigeadh
la deug do'n ochdamh mìos, anns a'
mhìos air an do smuainich e na
chridhe féin: agus rinn e féisd do
chloinn Israeil, agus dh'ìobair e air an
altair, agus loisg e tùis [d].

C A I B. XIII.

AGUS feuch, thàinig duine le
Dia a Iudah le focal an Tigh-
earna gu Betel: agus *bha* Ieroboam
na sheasamh làimh ris an altair, a
losgadh tùise.
2 Agus dh'éigh e an aghaidh na
h-altarach ann am focal an Tighearna,
agus thubhairt e, O altair, altair,
mar so thubhairt an Tighearna, Feuch,
beirear mac do thigh Dhaibhidh, d'an
ainm Iosiah, agus ìobraidh e ortsa
sagarta nan àitean ard a loisgeas tùis
ort, agus loisgear cnàmha dhaoine ort.
3 Agus thug e air an là sin féin
comhara seachad, ag ràdh, *Is e* so an
comhara a labhair an Tighearna:
Feuch, reubar an altair, agus dòirtear
a mach an luath a *tha* oirre.
4 Agus an uair a chuala righ Iero-
boam focal an duine le Dia, a dh'éigh
e an aghaidh na h-altarach ann am
Betel, shìn e a làmh a mach o'n altair,
ag ràdh, Beiribh air: agus shearg[e]
a làmh a shìn e mach na aghaidh, air
chor as nach b'urrainn e a tabhairt
air a h-ais thuige [f].
5 Agus reubadh an altair, agus
dhòirteadh an luath a mach o'n altair,
a réir a' chomharaidh a thug an duine
le Dia le focal an Tighearna.
6 Agus fhreagair an righ, agus
thubhairt e ris an duine le Dia,
Aslaich a nis gnùis an Tighearna do
Dhé, agus dean urnuigh air mo shon,
a chum gu'n aisigear mo làmh dhomh
a rìs. Agus dh'aslaich an duine le
Dia gnùis an Tighearna, agus dh'ais-
igeadh làmh an righ dha a rìs, agus
bha i mar air tùs.
7 Agus thubhairt an righ ris an
duine le Dia, Thig maille riumsa do
m' thigh, agus neartaich thu féin; a-
gus bheir mi tiodhlacadh dhuit.
8 Agus thubhairt an duine le Dia
ris an righ, Ge do bheireadh tu
dhomhsa leth do thighe, cha rachainn
a stigh maille riut, cha mhò a
dh'ithinn aran, no dh'òlainn uisge
anns an àite so:
9 Oir mar so dh'àithneadh dhomhsa
le focal an Tighearna, ag ràdh, Na
h-ith aran, agus na h-òl uisge, agus na
pill air an t-slighe air an d'thàinig thu.
10 Agus dh'fhalbh e air slighe eile,
agus cha do phill e air an t-slighe air
an d'thàinig e do Bhetel.
11 A nis bha sean fhàidh na chòmh-
nuidh ann am Betel, agus thàinig a
mhic, agus dh'innis iad da na h-oibre
uile a rinn an duine le Dia air an là
sin ann am Betel: na briathran a
labhair e ris an righ, iad so dh'innis
iad mar an ceudna d'an athair.
12 Agus thubhairt an athair riu,
Cia i an *t-slighe* air an d'fhalbh e? a-
gus dh'fheuch [g] a mhic *dha* an t-slighe
air an d'fhalbh an duine le Dia, a
thàinig a Iudah.
13 Agus thubhairt e r'a mhic,
Cuiribh diollaid dhomh air an asail.
Agus

[a] *do dheireadh an t-sluaigh.* [b] *féill.* [c] *chaidh e suas.*
[d] *chaidh e suas air an altair, a losgadh tùise.* [e] *thiormaich.* [f] *chuige.*
[g] *oir chunnaic.*

Agus chuir iad dìollaid dha air an
asail, agus mharcaich e oirre.
14 Agus chaidh e'n déigh an duine
le Dia, agus fhuair e na shuidhe e
fuidh dharaig, agus thubhairt e ris,
An tusa an duine le Dia, a thàinig a
Iudah? Agus thubhairt esan, *Is* mi.
15 An sin thubhairt e ris, Thig
maille riumsa do m' thigh, agus ith
aran.
16 Agus thubhairt esan, Cha'n
fheud mi pilltinn maille riut, no dol
a steach maille riut: cha mhò a
dh'itheas mi aran, no dh'òlas mi uisge
maille riut anns an àite so:
17 Oir chaidh a ràdh rium le focal
an Tighearna, Cha'n ith thu aran, a-
gus cha'n òl thu uisge an sin; cha
mhò philleas tu gu imeachd air an
t-slighe air an d'thàinig thu.
18 Agus thubhairt e ris, *Is* fàidh
mise mar an ceudna mar thu féin, a-
gus labhair aingeal rium le focal an
Tighearna, ag ràdh, Thoir air ais
leat e do d' thigh, a chum as gu'n
ith e aran, agus gu'n òl e uisge.
Ach rinn e breug dha.
19 Agus phill e maille ris, agus dh'ith
e aran na thigh, agus dh'òl e uisge.
20 Agus an uair a bha iad nan
suidhe aig a' bhord, thàinig focal an
Tighearn a dh'ionnsuidh an fhàidh a
thug air ais e.
21 Agus ghlaodh e ris an duine le
Dia a thàinig a Iudah, ag ràdh, Mar
so tha'n Tighearn ag ràdh, A chionn-
gu'n robh thu eas-ùmhal do fhocal[a]
an Tighearna, agus nach do ghléidh
thu an àithne a dh'àithn an Tighear-
na do Dhia dhuit,
22 Ach gu'n do phill thu, agus
gu'n d'ith thu aran, agus gu'n d'òl
thu uisge anns an àite mu'n d'thubh-
airt e riut, Na h-ith aran, agus na
h-òl uisge; cha dthéid do chorp[b] a
steach do uaigh t'aithriche.
23 Agus an déigh dha aran itheadh,
agus an déigh dha òl, chuir e dìollaid
dha air an asail, *eadhon* do'n fhàidh
a thug e air ais.
24 Agus an uair a dh'fhalbh e,
thachair leòmhan air san t-slighe, agus
mharbh se e: agus thilgeadh a chorp
air an t-slighe, agus sheas an asal
làimh ris: sheas an leòmhan mar an
ceudna làimh ris a' chorp.
25 Agus feuch, *bha* daoine a'
gabhail seachad, agus chunnaic iad
an corp tilgte air an t-slighe, agus an
leòmhan na sheasamh làimh ris a'
chorp: agus thàinig iad, agus dh'innis
iad *e* anns a' bhaile, anns *an robh* an
sean fhàidh na chòmhnuidh.
26 Agus an uair a chual am fàidh
a thug air ais e o'n t-slighe *sin*, thubh-
airt e, *Is* esan an duine le Dia, a bha
eas-ùmhal do fhocal an Tighearna:
uime sin thug an Tighearna thairis e
do'n leòmhan, a reub e, agus a
mharbh e a réir focail an Tighearna,
a labhair e ris.
27 Agus labhair e r'a mhic, ag
ràdh, Cuiribh dìollaid dhomh air an
asail. Agus chuir iad dìollaid *oirre.*
28 Agus dh'fhalbh e, agus fhuair
e a chorp tilgte air an t-slighe, agus an
asal agus an leòmhan nan seasamh làimh
ris a' chorp: cha d'ith an leomhan
an corp, cha mhò a reub e an asal.
29 Agus thog am fàidh corp an
duine le Dia, agus chuir e air an asail
e, agus thug e air ais e: agus thàinig
an sean fhàidh do'n bhaile[c], gu caoidh
a dheanamh, agus gu 'adhlacadh[d].
30 Agus chuir e a chorp na uaigh
féin, agus rinn iad caoidh os a cheann,
ag ràdh, Mo thruaighe mo bhràthair!
31 Agus an déigh dha esan adh-
lacadh, labhair e r'a mhic, ag ràdh,
'Nuair a gheibh mise bàs, an sin
adhlaicibh mi anns an uaigh anns *am
bheil* an duine le Dia adhlaicte; làimh
r'a chnàmhaibh-san cuiribh mo
chnàmha-sa:
32 Oir gu deimhin thig *e* gu crìch
an ni a dh'éigh e le focal an Tigh-
earn an aghaidh na h-altarach ann am
Betel, agus an aghaidh uile thighean
nan àit arda, a *tha* ann am bailtibh
Shamaria.
33 An déigh an ni so, cha do phill
Ieroboam o 'dhroch shlighe, ach rinn
e a rìs[e] do'n chuid a b'isle do'n
t-sluagh sagartan do na h-àitibh arda:

[a] *bheul.* [b] *chlosach, mharbhan.* [c] *thàinig e do bhaile an t-sean fhàidh.*
[d] *'adhlac.* [e] *phill e agus rinn e.* Eabh.

ge b'e leis am b'àill, choisrig se e, agus bha e *na aon do* shagartaibh nan àitean arda.

34 Agus bha an ni so na pheacadh do thigh Ieroboaim, agus a chum *a* ghearradh as, agus a chum *a* sgrios bhàrr aghaidh na talmhainn.

CAIB. XIV.

ANNS an àm sin bha Abiah, mac Ieroboaim, gu tinn.

2 Agus thubhairt Ieroboam r'a mhnaoi, Eirich a nis, agus cuir thu féin ann an coslas eile [a], a chor as nach aithnich iad gur tu bean Ieroboaim; agus imich do Shiloh: feuch, an sin *tha* Ahiah am fàidh, a dh'innis dhomhsa *gu'm bitbinn* a'm' righ air an t-sluagh so.

3 Agus thoir [b] leat a'd' làimh deich buiilinnean, agus breacagan, agus soitheach meala, agus falbh d'a ionnsuidh: innsidh esan duit ciod a dh'éireas do'n leanabh.

4 Agus rinn bean Ieroboaim mar sin, agus dh'éirich i, agus chaidh i do Shiloh, agus thàinig i gu tigh Ahiah: ach cha b'urrainn Ahiah *ni* fhaicinn, oir dhorchaicheadh [c] a shùilean le aois.

5 Agus thubhairt an Tighearna ri Ahiah, Feuch, tha bean Ieroboaim a' teachd a dh'iarraidh ni ort a thaobh a mic, oir *tha* e gu tinn: mar so agus mar so labhraidh tu ria [d]; oir tarlaidh [e] 'nuair a thig i a steach, gu'n gabh i oirre féin *gur bean* eile i.

6 Agus tharladh, an uair a chual Ahiah fuaim a cos [f], agus i a' teachd a steach air an dorus, gu'n dubhairt e, Thig a steach, a bhean Ieroboaim: c'ar son a tha thu a' gabhail ort *gur bean* eile thu? ach chuireadh mise a'd' ionnsuidh *le teachdaireachd* chruaidh.

7 Falbh, innis do Ieroboam, Mar so tha'n Tighearna Dia Israeil ag ràdh, A chionn gu'n d'ardaich mise thu a meadhon an t-sluaigh, agus gu'n do chuir mi thu a'd' cheannard air mo shluagh Israel:

8 Agus gu'n do reub mi an rìoghachd o thigh Dhaibhidh, agus gu'n d'thug mi dhuitse i; agus *gidheadh* nach robh thu mar m'òglach Daibhidh, a ghléidh m'àitheanta, agus a lean mi le 'uile chridhe, a dheanamh *an ni sin* a mhàin *a bha* ceart ann mo shùilibh-sa;

9 Ach gu'n d'rinn thu olc os cionn nan uile a bha romhad, agus gu'n deachaidh tu agus gu'n d'rinn thu dhuit féin diathan eile [g], agus dealbhan leaghta, gu fearg a chur ormsa; agus gu'n do thilg thu mi air do chùlaobh:

10 Uime sin feuch, bheir mise olc air tigh Ieroboaim, agus gearraidh mi as o Ieroboam esan a ni uisge ri balladh, esan a dhruideadh a steach agus a dh'fhàgadh ann an Israel; agus bheir mi air falbh fuigheall tighe Ieroboaim, mar a bheir neach air falbh aolach gus an teirig e.

11 Esan a gheibh bàs do Ieroboam anns a' bhaile, ithidh na madraidh *e*; agus esan a gheibh bàs anns a' mhachair, ithidh eunlaith an athair *e*: oir labhair an Tighearn *e*.

12 Uime sin éirich thusa, imich do d' thigh féin: an uair a théid do chosan [h] a steach do'n bhaile, gheibh an leanabh bàs.

13 Agus ni Israel uile caoidh air a shon, agus adhlaicidh iad e: oir théid esan a mhàin o Ieroboam a dh'ionnsuidh na h-uaighe; a chionn gu'n d'fhuaradh ann ni maith a thaobh an Tighearna Dé Israeil, ann an tigh Ieroboaim.

14 Os bàrr, togaidh an Tighearna suas dha féin righ air Israel, a ghearras as tigh Ieroboaim air an là sin: ach ciod? a nis féin.

15 Agus buailidh an Tighearn Israel, mar a ghluaisear cuilc anns an uisge, agus spìonaidh e Israel as an fhearann mhaith so, a thug e d'an aithrichibh, agus sgapaidh se iad air an taobh thall do'n abhuinn; a chionn gu'n d'rinn iad an doireachan, a' cur feirg air an Tighearna.

16 Agus bheir e thairis Israel, air son pheacanna Ieroboaim, a pheacaich, agus a thug air Israel peacachadh.

17 Agus

[a] *atharraich thu féin.* Eabh. [b] *beir.* [c] *sheas.* Eabh.
[d] *r'i, rithe.* [e] *bithidh e.* Eabh. [f] *cas.* [g] *coimheach.*
[h] *do chos.*

17 Agus dh'éirich bean Ieroboaim,
agus dh'imich i, agus thàinig i gu
Tirſah: *agus* an uair a chaidh i ſteach
air ſtairſnich an tighe, fhuair an
leanabh bàs.

18 Agus dh'adhlaic iad e, agus
rinn Iſrael uile caoidh air a ſhon, a
réir focail an Tighearna, a labhair e
le làimh 'òglaich féin Ahiah an fhàidh.

19 Agus a' chuid eile do ghnìomh-
araibh Ieroboaim, mar a chog, agus
mar a rìoghaich e, feuch, *tha* iad
ſcrìobhta ann an leabhar eachdraidh [a]
righre Iſraeil.

20 Agus *b'iad* na laithean a rìogh-
aich Ieroboam dà bhliadhna thar
fhichead: agus choidil e maille r'a
aithrichibh, agus rìoghaich Nadab a
mhac na àit.

21 Agus rìoghaich Rehoboam mac
Sholaimh ann an Iudah. *Bha* Reho-
boam bliadhna agus dà fhichead a
dh'aois an uair a thòiſich e air rìogh-
achadh, agus rìoghaich e ſeachd
bliadhna deug ann an Ieruſalem, am
baile a thagh an Tighearn a uile
threubhaibh Iſraeil, a chur 'ainme an
ſin: agus *b'e* ainm a mhàthar Naamah,
ban-amonach.

22 Agus rinn Iudah olc ann an
sùilibh an Tighearna, agus bhroſnaich
iad e gu h-eud le'n peacannaibh, a
rinn iad os cionn nan uile a rinn an
aithriche:

23 Oir thog iadſan mar an ceudna
àitean arda dhoibh féin, agus dealbh-
an, agus doireachan, air gach cnoc
ard, agus fuidh gach craoibh uaine.

24 Agus bha mar an ceudna
Sodomaich anns an tìr: rinn iadſan a
réir uile ghràineileachda nan cinneach,
a thilg an Tighearn a mach roimh
chloinn Iſraeil.

25 Agus anns a' chùigeadh bliadh-
na do righ [b] Rehoboam, thàinig Siſac
righ na h-Eiphit a nìos an aghaidh
Ieruſaleim:

26 Agus thug e leis ionmhais tighe
an Tighearna, agus ionmhais tighe an
righ; bhuin e leis eadhon an t-iomlan:
agus thug e leis na ſgiathan òir uile a
rinn Solamh.

27 Agus rinn righ Rehoboam
ſgiathan umha nan àit, agus thug e
thairis *iad* gu làimh cheannard an
fhreiceadain [c] a ghléidh dorus tighe
an righ.

28 Agus an uair a chaidh 'n righ a
ſteach do thigh an Tighearna, dh'iom-
chair am freiceadan iad, agus thug iad
air an ais iad gu ſeòmar an fhreicead-
ain.

29 Agus a' chuid eile do ghnìomh-
araibh [d] Rehoboaim, agus na h-uile
nithe a rinn e, nach *'eil* iad ſcrìobhta
ann an leabhar eachdraidh righre Iu-
dah?

30 Agus bha cogadh eadar Reho-
boam agus Ieroboam rè *an* làithean
uile.

31 Agus choidil Rehoboam maille
r'a aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh
e maille r'a aithrichibh ann am baile
Dhaibhidh: agus *b'e* ainm a mhàthar,
Naamah, Ban-amonach. Agus rìogh-
aich Abiam a mhac na àit.

C A I B. XV.

A NIS anns an ochdamh bliadhna
deug do righ Ieroboam mac
Nebait, rìoghaich Abiam os cionn
Iudah.

2 Tri bliadhna rìoghaich e ann an
Ieruſalem: agus *b'e* ainm a mhàthar
Maachah, nighean Abiſaloim.

3 Agus ghluais e ann an uile
pheacaibh 'athar, a rinn e roimhe: a-
gus cha robh a chridhe iomlan leis an
Tighearn a Dhia, mar *a bha* cridhe
Dhaibhidh 'athar.

4 Gidheadh, air ſgàth Dhaibhidh
thug an Tighearn a Dhia lòchran dha
ann an Ieruſalem, a chur a mhic ſuas
na dhéigh, agus a dhaingneachadh
Ieruſaleim:

5 A chionn gu'n d'rinn Daibhidh
an *ni a bha* ceart ann an sùilibh an
Tighearna, agus nach do chlaon e o
na h-uile *nithibh* a dh'àithn e dha rè
uile làithean a bheatha, ach a mhàin
an cùis Uriah an Hitich.

6 Agus bha cogadh eadar Reho-
boam agus Ieroboam rè uile laithean
a bheatha.

 7 A nis

[a] *leabhar thràth-eachdraidh; leabhar fhocla laithean.* Eabh. *chronicles.* Saſg.
[b] *rìoghachadh.* [c] *nan gillean-ruith.* [d] *bhriathraibh, ſgeul.*

7 A nis a' chuid eile do ghnìomh-
araibh [a] Abiaim, agus na h-uile *nithean*
a rinn e, nach 'eil iad sgrìobhta ann
an leabhar eachdraidh righre Iudah?
agus bha cogadh eadar Abiam agus
Ieroboam.

8 Agus choidil Abiam maille r'a
aithrichibh, agus dh'adhlaic iad e ann
am baile Dhaibhidh: agus rìoghaich
Asa a mhac na àit.

9 Agus anns an fhicheadamh
bliadhna do Ieroboam righ Israeil,
rìoghaich Asa os cionn Iudah.

10 Agus bliadhna agus dà fhichead
rìoghaich e ann an Ierusalem: agus *b'e*
ainm a mhàthar Maachah nighean
Abisaloim.

11 Agus rinn Asa an *ni a bha* ceart
ann an sùilibh an Tighearna, mar a
rinn Daibhidh 'athair.

12 Agus dh'fhuadaich e na So-
domaich as an tìr, agus chuir e air
falbh na deilbhan uile a rinn 'aithriche.

13 Agus mar an ceudna Maachah
a mhàthair, chuir e eadhon ise o *bhi*
na ban-righinn, a chionn gu'n d'rinn
i dealbh uamhasach ann an doire: agus
sgrios Asa a dealbh uamhasach, agus
loisg se *e* aig sruth Chidroin.

14 Ach cha do chuireadh as do [b]
na h-àitibh arda: gidheadh, bha
cridhe Asa iomlan leis an Tighearna
rè a làithean uile.

15 Agus thug e steach na nithean
a naomhaich 'athair, agus na nithean
a naomhaich e féin, do thigh an
Tighearna, airgiod, agus òr, agus
soithichean.

16 Agus bha cogadh eadar Asa a-
gus Baasa righ Israeil, rè an làithean
uile.

17 Agus chaidh Baasa righ Israeil
suas an aghaidh Iudah, agus thog e
Ramah, a chum nach leigeadh e le
neach air bith dol a mach no teachd
a steach gu Asa righ Iudah.

18 Agus ghabh Asa an t-airgiod a-
gus an t-òr uile a dh'fhàgadh ann an
ionmhasaibh tighe an Tighearna, a-
gus *ann an* ionmhasaibh tighe an righ,
agus thug e iad an làimh a sheirbhis-
each: agus chuir righ Asa iad gu
Ben-hadad mac Thabrimoin, mhic
Hesioin righ Shiria, a bha chòmh-
nuidh ann an Damascus, ag ràdh,

19 *Tha* coimh-cheangal eadar mise
agus thusa, *agus* eadar m'athair-sa a-
gus t'athair-sa: feuch, chuir mi a
t'ionnsuidh tiodhlacadh airgid agus
òir; thig agus bris do choimh-cheangal
ri Baasa righ Israeil, a chum gu'm
falbh e uam [c].

20 Agus dh'éisd Ben-hadad ri righ
Asa, agus chuir e ceannarda nan
armailtean a *bha* aige, an aghaidh
bhailtean Israeil, agus bhuail e Iion,
agus Dan, agus Abel-bet-maachah,
agus Cinerot uile, maille ri tìr
Naphtali uile.

21 Agus an uair a chuala Baasa *sin*,
sguir e do thogail Ramah, agus ghabh
e còmhnuidh ann an Tirsah.

22 An sin thug righ Asa gairm air
feadh Iudah uile (cha robh neach air
bith saor) agus thug iad leo clacha
Ramah, agus 'fhiodh, leis an do thog
Baasa e; agus thog righ Asa leo
Gebah Bheniamin, agus Mispah.

23 Agus a' chuid eile do uile
ghnìomharaibh [d] Asa, agus a neart
uile, agus gach *ni* a rinn e, agus na
bailtean a thog e, nach *'eil* iad
sgrìobhta ann an leabhar eachdraidh
righre Iudah? Gidheadh, an àm a
shean aois bha eucail na chosaibh.

24 Agus choidil Asa maille r'a
aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh e
maille r'a aithrichibh ann am baile
Dhaibhidh 'athar: Agus rìoghaich a
mhac Iehosaphat na àit.

25 Agus thòisich Nadab mac Iero-
boaim air rìoghachadh os cionn Israeil
anns an dara bliadhna do Asa righ
Iudah; agus rìoghaich e os cionn Is-
raeil dà bhliadhna.

26 Agus rinn e olc ann an sùilibh
an Tighearna, agus ghluais e ann an
slighe 'athar, agus na pheacadh leis an
d'thug e air Israel peacachadh.

27 Agus rinn Baasa mac Ahiah,
do thigh Isachair, ceannairc [e] na
aghaidh; agus bhuail Baasa e làimh
ri Gibeton, a *bhuineas* do na Philis-
tich, an uair a bha Nadab agus
Israel

[a] *bhriathraibh.* [b] *cha do chuireadh air falbh, cha d'atharraicheadh.*
[c] *gu'n tog e dhiom.* [d] *bhriathraibh.* [e] *coimhcheaig.*

Israel uile a' teannachadh [a] Ghibetoin.

28 Mar so mharbh Baasa e anns an treas bliadhna do Asa righ Iudah, agus rìoghaich e na àit.

29 Agus an uair a rìoghaich e, bhuail e tigh Ieroboaim uile; cha d'fhàg e neach air bith anns an robhanail aig Ieroboam, gus an do sgrios se e, a réir focail an Tighearna, a labhair e le làimh a shearbhisich Ahiah an t-Silonaich:

30 Air son pheacanna Ieroboaim a pheacaich e, agus leis an d'thug e air Israel peacachadh; air son a' bhrosnachaidh leis an do bhrosnaich e'n Tighearna Dia Israeil gu feirg.

31 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Nadaib, agus na h-uile *nithe* a rinn e, nach *'eil* iad scrìobhta ann an leabhar eachdraidh righre Israeil.

32 Agus bha cogadh eadar Asa agus Baasa righ Israeil rè an làithean uile.

33 Anns an treas bliadhna do Asa righ Iudah, thòisich Baasa mac Ahiah air rìoghachadh os cionn Israeil uile ann an Tirsah; *agus rìoghaich e* ceithir bliadhna fichead.

34 Agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna, agus ghluais e ann an slighe Ieroboaim, agus na pheacadh leis an d'thug e air Israel peacachadh.

CAIB. XVI.

UIME sin thàinig focal an Tighearna gu Iehu mac Hanani an aghaidh Bhaasa, ag ràdh,

2 A chionn gu'n d'ardaich mise thu o'n duslach, agus gu'n d'rinn mi thu a'd' cheannard air mo shluagh Israel, ach gu'n do ghluais thusa ann an slighe Ieroboaim, agus gu'n d'thug thu air mo shluagh Israel peacachadh, 'g am bhrosnachadh gu feirg le 'm peacaibh:

3 Feuch, gearraidh mi as sliochd Bhaasa, agus sliochd a thighe, agus ni mi do thigh-sa mar thigh Ieroboaim mhic Nebait.

4 Esan a dh'eugas do Bhaasa anns a' bhaile, ithidh na madraidh *e;* agus esan a dh'eugas leis anns an fhearann, ithidh eunlaith an athair [b] *e*.

5 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Bhaasa, agus *na nithe* a rinn e, agus a neart, nach *'eil* iad scrìobhta ann an leabhar eachdraidh righre Israeil?

6 Agus choidil Baasa maille r'a aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh e ann an Tirsah: agus rìoghaich Elah a mhac na àit.

7 Agus mar an ceudna le làimh an fhàidh Iehu mhic Hanani, thàinig focal an Tighearn an aghaidh Bhaasa, agus an aghaidh a thighe, air son an uilc uile a rinn e ann an sùilibh an Tighearna, 'ga bhrosnachadh gu feirg le obair a làmh, gu bhi marthigh Ieroboaim, agus a chionn gu'n do mharbh se e.

8 Anns an t-sèathadh bliadhna fichead do Asa righ Iudah, thòisich Elah mac Bhaasa air rìoghachadh os cionn Israeil ann an Tirsah; *agus rìoghaich e* dà bhliadhna.

9 Agus rinn a shearbhiseach Simri, ceannard leth *a* charbad, ceannairc na aghaidh 'nuair a bha e ann an Tirsah, ag òl gus an robh e air mhisg ann an tigh Arsah, a bha os cionn *a* thighe ann an Tirsah.

10 Agus chaidh Simri steach, agus bhuail se e, agus mharbh se e, anns an t-seachdamh bliadhna fichead do Asa righ Iudah; agus rìoghaich e na àit.

11 Agus an uair a thòisich e air rìoghachadh, co luath as a shuidh e air a righ-chaithir, bhuail e tigh Bhaasa uile: cha d'fhàg e neach air bith aige a dheanadh uisge ri balladh, d'a luchd-dàimh no d'a chairdibh.

12 Mar so sgrios Simri tigh Bhaasa uile, a réir focail an Tighearna, a labhair e an aghaidh Bhaasa le làimh Iehu an fhàidh;

13 Air son uile pheacanna Bhaasa, agus pheacanna Elah a mhic, leis an do pheacaich iad, agus leis an d'thug iad air Israel peacachadh, a' brosnachadh an Tighearna Dé Israeil gu feirg le'n dìomhanasaibh.

14 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh

[a] *tuairteachadh, luidhe mu.*

[b] *an uidheir.*

araibh Elah, agus na h-uile *nithe* a rinn e, nach *'eil* iad ſcrìobhta ann an leabhar eachdraidh rìghre Iſraeil?

15 Anns an t-ſeachdamh bliadhna fichead do Aſa righ Iudah, rìoghaich Simri ſeachd laithean ann an Tirſah: agus *bha*'n ſluagh air campachadh [a] an aghaidh Ghibetoin, a *bhuineadh* do na Philiſtich.

16 Agus chual an ſluagh *a bha* air campachadh, 'ga ràdh, Rinn Simri ceannairc, agus mar an ceudna bhuail e'n righ: uime ſin rinn Iſrael uile Omri ceannard an t-ſlòigh na righ air Iſrael an là ſin féin anns a 'champ.

17 Agus chaidh Omri, agus Iſrael uile maille ris, ſuas o Ghibeton, agus theannaich iad [b] Tirſah.

18 Agus an uair a chunnaic Simri gu'n do ghlacadh am baile, chaidh e ſteach do lùchairt tighe an righ, agus loiſg e tigh an righ os a chionn féin le teine, agus dh'eug e,

19 Air ſon a pheacanna leis an do pheacaich e, a deanamh uilc ann an sùilibh an Tighearna, a' gluaſad ann an ſlighe Ieroboaim, agus na pheacadh a rinn e, ann an tabhairt air Iſrael peacachadh.

20 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Shimri, agus a cheannairc a rinn e, nach *'eil* iad ſcrìobhta ann an leabhar eachdraidh rìghre Iſraeil?

21 An ſin roinneadh ſluagh Iſraeil nan dà leth: lean leth an t-ſluaigh Tibni mac Ghinait, gu 'dheanamh na righ; agus lean an leth eile Omri.

22 Ach bhuadhaich an ſluagh a lean Omri air an t-ſluagh a lean Tibni mac Ghinait: agus fhuair Tibni bàs, agus rìoghaich Omri.

23 Anns an aon bhliadhna deug thar fhichead do Aſa righ Iudah, thòiſich Omri air rìoghachadh os cionn Iſraeil [c]; *agus rìoghaich e* dà bhliadhna dheug: ann an Tirſah rìoghaich e sè bliadhna.

24 Agus cheannaich e ſliabh Shamaria [d] o Shemer air dhà thàlann airgid, agus thog e *aitreabh air* an t-ſliabh, agus ghoir e ainm a' bhaile a thog e, a réir ainme Shemeir, ſealbhadair ſléibh Shamaria.

25 Ach rinn Omri olc ann an sùilibh an Tighearna, agus rinn e ni's meaſa na iadſan uile a bha roimhe:

26 Oir ghluais e ann an uile ſhlighe Ieroboaim mhic Nebait, agus na pheacadh leis an d'thug e air Iſrael peacachadh, a' broſnachadh an Tighearna Dé Iſraeil gu feirg le'n dìomhanaſaibh.

27 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Omri, a rinn e, agus a neart a dh'fheuch e, nach *'eil* iad ſcrìobhta ann an leabhar eachdraidh rìghre Iſraeil?

28 Agus choidil Omri maille r'a aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh e ann an Samaria: agus rìoghaich Ahab a mhac na àit.

29 Agus thòiſich Ahab mac Omri air rìoghachadh os cionn Iſraeil anns an ochdamh bliadhna deug thar fhichead do Aſa righ Iudah: agus rìoghaich Ahab mac Omri os cionn Iſraeil ann an Samaria, dà bhliadhna thar fhichead.

30 Agus rinn Ahab mac Omri olc ann an sùilibh an Tighearna, os cionn nan uile a *bha* roimhe.

31 Agus mar gu'm bu nì faoin [e] dhaſan gluaſad ann am peacaibh Ieroboaim mhic Nebait, ghabh e na mnaoi Ieſebel nighean Etbaail righ nan Sidonach, agus chaidh e agus rinn e ſeirbhis do Bhaal, agus ſhleuchd e dha.

32 Agus chuir e ſuas altair do Bhaal ann an tigh Bhaail, a thog e ann an Samaria.

33 Agus rinn Ahab doire; agus rinn Ahab ni's mò a bhroſnachadh an Tighearna Dé Iſraeil gu feirg na uile rìghrean Iſraeil a bha roimhe.

34 Na laithibh-ſan thog Hiel am Betelach Iericho: ann an Abiram [f] a cheud-ghin ſhuidhich e a bhunait, agus ann an Segub a mhac a b'òige chuir e ſuas a gheataidh, a réir focail an Tighearna, a labhair e le làimh Ioſua mhic Nuin.

C A I B. XVII.

AGUS thubhairt Eliah an Tiſbitheach, *a bha* do luchd-àiteachaidh

[a] *nan ſuidhe.* [b] *ſhuidh iad mu'n cuairt air.* [c] *os cionn Iſraeil* uile.
[d] *Someron.* Eabh. [e] *eutrom, ſuarach.* [f] *ann am* bàs *Abiraim.*

aidh Ghilead [a], ri Ahab, *Mar* is beo an Tighearna Dia Israeil, an làthair am bheil mise a'm' sheasamh, cha bhi sna bliadhnaibh so drùchd no uisge ann, ach a réir m'fhocail-sa.

2 Agus thàinig focal an Tighearna d'a ionnsuidh, ag ràdh,

3 Imich as so, agus tionndaidh thu féin a làimh na h-airde 'n ear, agus folaich thu féin aig sruth Cherit, a *tha* sa chomhair Iordain.

4 Agus òlaidh tu do'n t-sruth, agus dh'àithn mise do na fitheachaibh do bheathachadh an sin.

5 Agus dh'imich e, agus rinn e a réir focail an Tighearna: oir chaidh e, agus ghabh e còmhnuidh aig sruth Cherit, a *tha* sa chomhair Iordain.

6 Agus thug na fithich d'a ionnsuidh aran agus feoil sa' mhaduinn, agus aran agus feoil san fheasgar; agus dh'òl e as an t-sruth.

7 Ach an ceann tamuill [b] thiormaich an sruth, a chionn nach robh uisge anns an tìr.

8 Agus thàinig focal an Tighearna d'a ionnsuidh, ag ràdh,

9 Eirich, imich gu Sarephat, a's le Sidon, agus gabh còmhnuidh an sin: feuch, dh'àithn mise do mhnaoi *a ta* na bantraich an sin do bheathachadh.

10 Agus dh'éirich e, agus chaidh e do Sharephat: agus an uair a thàinig e gu geatadh a' bhaile, feuch, bha a' bhantrach an sin a' tional bhioran [c], agus ghairm e oirre, agus thubhairt e, Thoir a'm' ionnsuidh, guidheam ort, beagan uisge ann an soitheach, a chum gu'n òl mi.

11 Agus an uair a bha i a' dol g'a thoirt leatha, ghlaodh e ria, agus thubhairt e, Thoir a'm' ionnsuidh, guidheam ort, greim arain a'd' làimh.

12 Agus thubhairt ise, *Mar* is beo an Tighearna do Dhia, cha 'n'eil breacag agam, ach làn an duirn do mhin ann an soitheach [d], agus beagan olaidh ann an corn [e]: agus feuch, *tha* mi a' tional biorain no dhà, a chum gu'n dthéid mi steach, agus gu'n deasaich mi e dhomh féin agus do m' mhac, agus gu'n ith sinn e, agus gu'm faigh sinn bàs.

13 Agus thubhairt Eliah ria, Na biodh eagal ort; falbh, dean a 'réir t'fhocail: ach dean dhomhsa dhiubh sin breacag bheag an toiseach, agus thoir a' m' ionnsuidh i, agus dhuit féin agus do d' mhac deasaich [f] na dhéigh sin.

14 Oir mar so tha'n Tighearna Dia Israeil ag ràdh, Cha chaithear an soitheach mine, agus cha teirig an corn olaidh, gus an là san cuir an Tighearn uisge air aghaidh na talmhainn.

15 Agus dh'fhalbh i, agus rinn i a réir focail Eliah, agus dh'ith ise, agus esan, agus a tigh rè *mòrain do* laithibh.

16 Cha do chaitheadh an soitheach mine, agus cha do theirig an corn olaidh, a réir focail an Tighearna, a labhair e le làimh Eliah.

17 Agus thachair an déigh nan nithe sin, gu'n d'fhàs mac na mnà, *eadhon* mnà an tighe, gu tinn; agus bha a thinneas cho trom, as nach d'fhàgadh anail ann.

18 Agus thubhairt i ri Eliah, Ciod e mo ghnothuch-sa riut [g], a dhuine le Dia? an d'thàinig thu a'm' ionnsuidh a chur mo pheacaidh an cuimhne, agus a mharbhadh mo mhic?

19 Agus thubhairt esan ria, Thoir dhomhsa do mhac. Agus ghlac e as a h-uchd e, agus thug e suas e do sheomar uachdarach [h], anns *an robh* e féin a' fantuinn, agus chuir e na luidhe air a leabaidh féin e.

20 Agus dh'éigh e ris an Tighearna, agus thubhairt e, A Thighearna mo Dhia, an d'thug thu mar an ceudna olc air a' bhantraich aig *am bheil* mi air aoidheachd [k], le a mac a mharbhadh?

21 Agus shìn se e féin air an leanabh tri uairean, agus dh'éigh e ris an Tighearna, agus thubhairt e, A Thighearna mo Dhia, thigeadh, guidheam ort, anam an leinibh so a steach ann a rìs.

22 Agus

[a] a bha *o Thisbi Ghilead.* [b] *an ceann bliadhna; an ceann laithean.* Eabh. [c] *mbaidean, connaidh.* [d] *baraill, cuinneig.* [e] *crùisgein.* [f] *dean.* [g] *Ciod dhombsa agus dhuitse.* Eabh. [h] *lobhta.* [k] *maille ris* am bheil *mi air chuairt.*

22 Agus dh'éisd an Tighearna ri guth Eliah; agus thàinig anam an leinibh a steach ann a rìs, agus dh'ath-bheothaicheadh e.

23 Agus ghlac Eliah an leanabh, agus thug e sìos e as an t-seòmar uachdarach do'n tigh, agus thug e d'a mhàthair e: agus thubhairt Eliah, Feuch, tha do mhac beo.

24 Agus thubhairt a' bhean ri Eliah, A nis le so tha fios agam gur duine le Dia thu, agus gur fìrinn focal an Tighearn ann do bheul.

C A I B. XVIII.

AGUS an dèigh mòrain do laithibh, thàinig focal an Tighearna gu Eliah anns an treas bliadhna, ag ràdh, Falbh, nochd[a] thu féin do Ahab, agus bheir mise uisge air aghaidh na talmhainn.

2 Agus dh'fhalbh Eliah g'a nochdadh féin do Ahab: agus *bha* gorta mhòr ann an Samaria.

3 Agus ghairm Ahab air Obadiah, a *bha* os cionn *a* thighe, (a nis bha eagal an Tighearna gu mòr air Obadiah:

4 Oir an uair a thug Iesebel fa'near fàidhean an Tighearn a ghearradh as, ghabh Obadiah ceud fàidh, agus dh'fholaich e iad nan leth-cheudaibh[b] ann an uaimh, agus bheathaich e iad le h-aran agus uisge)

5 Agus thubhairt Ahab ri h-Obadiah, Imich do'n tìr, a dh'ionnsuidh nan tobar uisge uile, agus a dh'ionnsuidh nan sruth uile, a dh'fheuchainn am faigh sinn feur, a chum as gu'n gléidh sinn ar n-eich agus ar muileidean beo, agus nach caill sinn an spréidh uile.

6 Agus roinn iad an tìr eatorra gu dol troimpe: chaidh Ahab air aon slighe leis féin, agus chaidh Obadiah air slighe eile leis féin.

7 Agus an uair a bha Obadiah san t-slighe, feuch, thachair Eliah air: agus dh'aithnich se e, agus thuit e air aghaidh, agus thubhairt e, An tusa *tha'n* so, mo thighearn Eliah?

8 Agus thubhairt esan ris, *Is* mi: imich, innis do d' thighearna, Feuch, *tha* Eliah *an so*.

9 Agus thubhairt esan, Ciod am peacadh a rinn mi, gu'n dthugadh tu do sheirbhiseach an làimh Ahaib, g'am mharbhadh?

10 *Mar* is beo an Tighearna do Dhia, cha 'n'eil cinneach no rìoghachd, do nach do chuir mo thighearna g'ad iarraidh: agus an uair a thubhairt iad, Cha *'n'eil e'n so*; ghabh e mionnan do'n rìoghachd agus do'n chinneach, nach d'fhuair e[c] thu.

11 Agus a nis *tha* thu ag ràdh, Imich, innis do d' thighearna, Feuch, *tha* Eliah *an so*.

12 Agus tachraidh, an uair a dh'imicheas mise uait, gu'n tog spiorad an Tighearna leis thusa far nach 'eil fhios agamsa, agus an uair a thig mise a dh'innseadh do Ahab, agus nach faigh e thu, gu'm marbh e mise: gidheadh *tha* eagal an Tighearn ormsa do sheirbhiseach o m'òige.

13 Nach d'innseadh do m' thighearna ciod a rinn mi 'nuair a mharbh Iesebel fàidhean an Tighearna, mar a dh'fholaich mi ceud fear a dh'fhàidhibh an Tighearna, nan leth-cheudaibh ann an uaimh, agus a bheathaich mi iad le h-aran agus le h-uisge?

14 Agus a nis *tha* thu ag ràdh, Imich, innis do d' thighearna, Feuch, *tha* Eliah *an so*; agus marbhaidh e mi.

15 Agus thubhairt Eliah, *Mar* is beo Tighearna nan slògh, an làthair am bheil mi a'm' sheasamh, gu deimhin nochdaidh mi mi féin da an diugh.

16 Uime sin chaidh Obadiah an coinneamh Ahaib, agus dh'innis e dha. Agus chaidh Ahab an coinneamh Eliah.

17 Agus an uair a chunnaic Ahab Eliah, thubhairt Ahab ris, An tusa esan a tha cur Israeil fa bhuaireas[d]?

18 Agus thubhairt esan, Cha mhise a chuir Israel fa bhuaireas, ach thusa agus tigh t'athar, a thaobh gu'n do thréig sibh àitheantan an Tighearna, agus gu'n do lean sibh[e] Baalim.

19 A nis uime sin cuir *fios*, cruinnich a'm' ionnsuidh-sa Israel uile gu sliabh Charmeil, agus fàidhean Bhaail,

ceithir

[a] *taisbein, feuch.* [b] *a lìon leth-cheud agus leth-cheud.* [c] *iad.*
[d] *a'tuairgneoil Israeil.* [e] *thusa.*

ceithir cheud agus leth-cheud, agus fàidhean nan doire, ceithir cheud, a tha 'g itheadh aig bord Iesebeil.

20 Agus chuir Ahab *fios* a dh'ionnsuidh chloinn Israeil uile, agus chruinnich e na fàidhean an ceann a chéile gu sliabh Charmeil.

21 Agus thàinig Eliah dh'ionnsuidh an t-sluaigh uile, agus thubhairt e, Cia fhad a bhitheas sibh san iomchomhairl' eadar dhà bharail? Ma's e'n Tighearn a's Dia ann, leanaibh *e*; ach ma's e Baal, leanaibh esan. Ach cha do fhreagair an sluagh e aon fhocal.

22 An sin thubhairt Eliah ris an t-sluagh, Dh'fhàgadh mise, eadhon mise a mhàin a'm' fhàidh leis an Tighearna; ach tha fàidhean Bhaail ceithir cheud agus leth-cheud fear *an àireamh*.

23 Thugadh iad dhuinne, ma ta dà tharbh òg, agus taghadh iadsan dhoibh féin aon tarbh òg, agus gearradh iad na mhìribh e, agus cuireadh iad air connadh *e*; ach na cuireadh iad teine fuidhe: agus deasaichidh mise an tarbh òg eile, agus cuiridh mi air connadh *e*, ach cha chuir mi teine fuidhe.

24 An sin gairmibh-sa air ainm bhur dée féin, agus gairmidh mise air ainm an Tighearna[a]: agus an Dia a fhreagras le teine, bithidh esan na Dhia. Agus fhreagair an sluagh uile agus thubhairt iad, *Is* maith a labhair *thu*.

25 Agus thubhairt Eliah ri fàidhibh Bhaail, Taghaibh-sa dhuibh féin aon tarbh òg, agus deasaichibh an toiseach *e*, oir *tha* sibh lìonmhor; agus gairmibh air ainm bhur dée, ach na cuiribh teine fuidhe.

26 Agus ghabh iad an tarbh òg a thugadh dhoibh, agus dheasaich iad *e*, agus ghairm iad air ainm Bhaail o mhaduinn eadhon gu meadhon-là, ag ràdh, A Bhaail, éisd ruinne. Ach cha *robh* guth, no neach air bith a fhreagradh ann: agus leum iad air an altair a rinn iad[b].

27 Agus an uair a bha e mu mheadhon-là, rinn Eliah fanoid orra, agus thubhairt e, Eighibh le guth ard; oir *is* dia e: an dara cuid *tha* e a' beachdsmuaineachadh[c], no *tha* e air tòir, no *tha* e air thurus, *no* theagamh gu'm bheil e na chodal, agus gu'm feumar a dhùsgadh.

28 Agus dh'éigh iadsan le guth ard, agus ghearr siad iad féin a réir an gnàtha le cloidhibh[d] agus le lannaibh, gus an do thaom an fhuil a mach orra.

29 Agus an uair a chaidh meadhon-là thairis, agus a rinn iad fàidheadoireachd gu *àm* toirt suas na h-ìobairt-*fheasgair*, cha *robh* guth ann, no aon air bith a fhreagradh, no bheireadh fa'near *iad*.

30 Agus thubhairt Eliah ris an t-sluagh uile, Thigibh am fagus domh-sa. Agus thàinig an sluagh uile am fagus da; agus chàirich *e* altair an Tighearn *a bha* air a briseadh sìos.

31 Agus ghabh Eliah dà chloich dheug, a rèir àireimh threubh mhac Iacoib, chum an d'thàinig focal an Tighearn, ag ràdh, Bithidh Israel mar ainm ort.

32 Agus thog e leis na clachaibh altair ann an ainm an Tighearna; agus rinn e clais co mòr as gu'n cumadh i dà thomhas sìl, mu'n cuairt air an altair.

33 Agus shuidhich e'n connadh, agus ghearr e'n tarbh òg na mhìribh, agus chuir e air a' chonnadh *e*.

34 An sin thubhairt e, Lìonaibh ceithir soithichean le h-uisge, agus dòirtibh e air an ìobairt-loisgte, agus air a' chonnadh. Agus thubhairt e, Deanaibh an dara h-uair e, agus rinn iad an dara h-uair e: agus thubhairt e, Deanaibh an treas uair e, agus rinn iad an treas uair e.

35 Agus chaidh an t-uisge mu'n cuairt air an altair, agus lìon e mar an ceudna a' chlais le h-uisge.

36 Agus an àm toirt suas na h-ìobairt *fheasgair*, thàinig Eliah am fàidh am fagus, agus thubhairt e, A Thighearna Dhia Abrahaim, Isaaic, agus Israeil, biodh fhios an diugh gur tusa a's Dia ann an Israel, agus *gur* mise t-òglach, agus *gur* ann air t'fhocal-sa rinn mi na nithe so uile.

37 Eisd rium, A Thighearna, éisd rium;

[a] *Iehobhah.* Eabh. [b] *rinneadh.* [c] *ri bruidhinn.*
[d] *sgeanaibh.*

rium; agus biodh fios aig an t-ſluagh
ſo gur tuſa 'n Tighearna Dia, agus
gu'n do phill thu an cridhe air ais a
rìs.
38 An ſin thuit teine an Tighear-
na, agus chaith e [a] an ìobairt-loiſgte,
agus an connadh, agus na clachan, a-
gus an luaithre; agus an t-uiſge *bha*
ſa' chlaiſ dh'imlich e ſuas.
39 Agus an uair a chunnaic an
ſluagh uile *e*, thuit iad air an aghaidh,
agus thubhairt iad, *Is* e'n Tighearna
féin a's Dia ann, *is* e'n Tighearna
féin a's Dia ann.
40 Agus thubhairt Eliah riu,
Glacaibh fàidhean Bhaail; na rachadh
duine dhiubh as. Agus ghlac ſiad
iad; agus thug Eliah sìos iad gu
ſruth Chiſóin, agus mharbh e iad an
ſin.
41 Agus thubhairt Eliah ri Ahab,
Eirich ſuas, ith agus òl; oir *tha*
fuaim pailteis uiſge *ann*.
42 Agus chaidh Ahab ſuas a
dh'itheadh agus a dh'òl: agus chaidh
Eliah ſuas gu mullach Charmeil, agus
thilg ſe e féin sìos air an talamh, agus
chuir e 'aghaidh eadar a ghlùinibh.
43 Agus thubhairt e r'a òglach,
Falbh ſuas a nis, amhairc a dh'ionn-
ſuidh na fairge. Agus chaidh eſan
ſuas, agus dh'amhairc e, agus thubh-
airt e, Cha '*n'eil* ni air bith *ann*. A-
gus thubhairt e, Falbh a rìs ſeachd
uairean.
44 Agus air an t-ſeachdamh uair
thubhairt e, Feuch, *tha* neul beag
coſmhuil ri bois [b] duine ag éirigh as
an fhairge. Agus thubhairt e, Falbh
ſuas, abair ri Ahab, Ulluich *do char-
bad*, agus gabh sìos, a chum nach
bac an t-uiſge thu.
45 Agus anns a' cheart àm ſin,
dhorchaicheadh na ſpeuran le neul-
aibh agus le gaoith; agus bha uiſge
mòr ann. Agus mharcaich Ahab, a-
gus chaidh e do Ieſreel.
46 Agus bha làmh an Tighearn
air Eliah; agus chrioſlaich e a leaſ-
raidh, agus ruith e roimh Ahab, gus
an d'thàinig e do Ieſreel [c].

C A I B. XIX.

AGUS dh'innis Ahab do Ieſebel
na h-uile *nithe* a rinn Eliah, a-
gus cionnus a mharbh e na fàidhean
uile leis a' chlaidheamh.
2 Agus chuir Ieſebel teachdaire
dh'ionnſuidh Eliah, a ràdh, Mar ſin
deanadh na dée *riumſa*, agus tuilleadh
mar an ceudna, mur dean [d] miſe mu'n
àm ſo am màireach t'anam-ſa [e] mar
anam aoin diubhſan.
3 Agus bha eagal air, agus [f]
dh'éirich e, agus dh'fhalbh e air ſgàth
'anma, agus thàinig e gu Beer-ſeba, a
bhuineas do Iudah, agus dh'fhàg e
'òglach an ſin.
4 Ach chaidh e féin aſtar latha [g] do'n
fhàſach, agus thàinig e agus ſhuidh
e fuidh chraoibh-aiteil, agus dh'iarr e
dha féin [h] bàs fhaghail [k], agus thubh-
airt e, Is leòr e; a nis a Thighearna,
thoir leat m'anam; oir cha'n fhearr
miſe na m'aithriche.
5 Agus an uair a luidh e agus a
choidil e fuidh chraoibh-aiteil, feuch
an ſin bhean aingeal ris, agus thubh-
airt e ris, Eirich, ith.
6 Agus dh'amhairc e, agus feuch,
bha aig a cheann breacag a bhruich-
eadh air a ghrìoſaich, agus ſoitheach
uiſge: agus dh'ith agus dh'òl e, agus
luidh e sìos a rìs.
7 Agus thàinig aingeal an Tigh-
earn air ais an dara h-uair, agus
bhean e ris, agus thubhairt e, Eirich,
ith; oir tha'n turus mòr air do ſhon.
8 Agus dh'éirich eſan, agus dh'ith
agus dh'òl e, agus dh'imich e ann an
neart a' bhìdh ſin dà fhichead là, a-
gus dà fhichead oidhche, gu ruig
Horeb ſliabh Dhé.
9 Agus chaidh e ſteach an ſin do
uaimh, agus ghabh e tàmh innte; a-
gus feuch, thàinig focal an Tighear-
na d'a ionnſuidh, agus thubhairt e
ris, Ciod e do gnothuch an ſo, Eliah?
10 Agus thubhairt eſan, Bha mi
ro-eudmhor air ſon an Tighearna Dé
nan ſlògh: oir thréig clann Iſraeil
do choimhcheangal, thilg iad sìos
t'altairean,

[a] *dh'ith e ſuas, loiſg e.* [b] *làimh.* [c] *gu dol a ſteach Ieſreel.*
[d] *cuir* [e] *do bheatha-ſa!* [f] *Agus an uair a chunnaic e ſin.* [g] *là.*
[h] *d'a anam.* Eabh. [k] *ſhaotainn.*

t'altairean, agus mharbh iad t'fhàidh-
ean leis a' chlaidheamh; agus
dh'fhàgadh mise a mhàin, agus tha iad
ag iarraidh m'anma, chum a thoirt
air falbh.
11 Agus thubhairt e, Falbh a mach,
agus seas air an t-sliabh an làthair an
Tighearna. Agus feuch, ghabh an
Tighearna seachad, agus reub gaoth
mhòr agus làidir na beanntan, agus
bhris i na creaga nam bloighdibh
roimh an Tighearna, *ach* cha *robh* an
Tighearn anns a' ghaoith; agus an
déigh na gaoithe crith-thalmhainn,
ach cha *robh* an Tighearn anns a'
chrith-thalmhainn;
12 Agus an déigh na crith-thalmh-
ainn teine, *ach* cha *robh* an Tighearn
anns an teine; agus an déigh an teine
guth ciuin caol.
13 Agus an uair a chual Eliah *e*,
chòmhdaich e 'aghaidh le 'fhalluing, a-
gus chaidh e mach, agus sheas e am
beul na h-uamha: agus feuch, *thàinig*
guth d'a ionnsuidh, agus thubhairt e,
Ciod e do ghnothuch an so, Eliah?
14 Agus thubhairt esan, Bha mi
ro-eudmhor air son an Tighearna
Dé nan slògh: oir thréig clann Is-
raeil do choimhcheangal, thilg iad
sios t'altairean, agus mharbh iad
t'fhàidhean leis a' chlaidheamh; agus
dh'fhàgadh mise a mhàin, agus tha
iad ag iarraidh m'anma chum a thoirt
air falbh.
15 Agus thubhairt an Tighearna
ris, Falbh, pill air do slighe gu
fàsach Dhamascuis: agus an uair a
thig thu, ung Hasael na righ air Siria.
16 Agus Iehu mac Nimsi [a] ungaidh
tu na righ air Israel: agus Elisa mac
Shaphait o Abelmeholah ungaidh tu
na fhàidh a'd' àite féin.
17 Agus tacharaidh, esan a théid
as o chlaidheamh Hasaeil, gu marbh
Iehu *e*; agus esan a theid as o chlaidh-
eamh Iehu, *gu* marbh Elisa *e*.
18 Gidheadh dh'fhàg mi *dhomh*
féin ann an Israel seachd mìle, na
glùinean uile nach do lùb iad féin do
Bhaal, agus gach uile bheul nach
d'thug pòg dha.

19 Agus dh'fhalbh e as sin, agus
fhuair e Elisa mac Shaphait, agus e
ag àr le dà chuing dheug *dhamh*
roimhe, agus e féin leis an dara *cuing*
deug: agus chaidh Eliah thairis d'a
ionnsuidh [b], agus thilg e 'fhalluing
air.
20 Agus dh'fhàg esan na daimh,
agus ruith e 'n déigh Eliah, agus
thubhairt e, Leig dhomh, guidheam
ort, m'athair agus mo mhàthair a
phògadh, agus *an sin* leanaidh mi thu.
Agus thubhairt esan ris, Falbh, pill;
oir ciod a rinn mise ort?
21 Agus phill e uaith, agus ghabh
e cuing dhamh, agus mharbh e iad,
agus le acfuinn nan damh bhruich e
am feoil, agus thug e do'n t-sluagh *i*,
agus dh'ith iad. An sin dh'éirich e,
agus chaidh e'n déigh Eliah, agus
fhritheil e dha.

C A I B. XX.

AGUS chruinnich Ben-hadad righ
Shiria a shluagh uile an ceann
a chéile; agus *bha* dà righ dheug
thar fhichead maille ris, agus eich, a-
gus carbaid: agus chaidh e suas agus
theannaich e Samaria, agus chog e
na aghaidh.
2 Agus chuir e teachdairean gu
Ahab righ Israeil do'n bhaile, agus
thubhairt e ris, Mar so tha Ben-
hadad ag ràdh,
3 T'airgiod agus t'òr *is* leamsa;
do mhnài mar an ceudna agus do
chlann, *eadhon a' chuid* a's fearr dhiubh,
is leamsa iad.
4 Agus fhreagair righ Israeil, agus
thubhairt e, A réir t'fhocail, mo
thighearn a righ, *is* leat mise, agus
gach *ni* a *ta* agam.
5 Agus phill na teachdairean, agus
thubhairt iad, Mar so labhair Ben-
hadad, ag ràdh, Ge do chuir mi fios
a t' ionnsuidh, ag ràdh, T'airgiod, a-
gus t'òr, agus do mhnài, agus do
chlann bheir thu dhomhsa;
6 Gidheadh mu'n tràth so am
màireach cuiridh mi mo sheirbhisich
a t' ionnsuidh, agus rannsaichidh iad
do thigh, agus tighean do sheirbhis-
each;

[a] *Iehu mac Iehosaphait, mhic Nimsi.* II. Righ. Caib. IX. r. 2.
[b] *ghabh Eliah seachad air.*

each: agus tachraidh e, gach ni a ta
taitneach do d' shùilibh, *gu*'n cuir iad
nan làimh, agus *gu*'n dthoir iad leo
e.
7 Agus ghairm righ Israeil air uile
sheanairibh na tìre, agus thubhairt e,
Thugaibh fa'near [a], guidheam oirbh,
agus faicibh cionnus a *tha'm fear* so ag
iarraidh uilc; oir chuir e *fios* a'm'
ionnsuidh, air mo mhnaibh, agus air
mo chloinn, agus air m'airgiod, agus
air m'òr, agus cha do dhiùlt mi e.
8 Agus thubhairt na seanairean
uile agus an sluagh uile ris, Na h-éisd
ris, agus na h-aontaich *leis*.
9 Uime sin thubhairt e ri teachd-
airibh Bhen-hadaid, Innsibh do m'
thighearn an righ, Gach *ni* air an do
chuir thu *fios* gu t'òglach an toiseach,
ni mi; ach an ni so cha'n urrainn mi
dheanamh. Agus dh'imich na
teachdairean, agus thug iad freagradh
air ais d'a ionnsuidh.
10 Agus chuir Ben-hadad *fios* d'a
ionnsuidh, agus thubhairt e, Mar sin
deanadh na dée riumsa, agus tuilleadh
mar an ceudna, ma's leòr duslach
Shamaria gu làn *an* dorn do'n t sluagh
uile a *tha* 'gam leantuinn-sa.
11 Agus fhreagair righ Israeil, a-
gus thubhairt e, Abraibh *ris*, Na
deanadh an ti sin uaill, a ta crios-
lachadh '*armaidd* uime, mar an ti
a chuir dheth *i*.
12 Agus an uair a chuala *Ben-had-
ad* an teachdaireachd so, agus e féin
agus na righrean ag òl anns na pàill-
iunaibh, thubhairt e r'a sheirbhisich,
Cuiribh *sibh féin an ordugh* [b]. Agus
chuir iadsan *iad féin an ordugh* an
aghaidh a' bhaile.
13 Agus feuch, thàinig fàidh
àraidh gu Ahab righ Israeil, agus
thubhairt e, Mar so tha'n Tighearn
ag ràdh, Am faca tusa an sluagh mòr
so uile? feuch, bheir mise a'd' làimh
iad an diugh, agus bithidh fios agad
gur mise an Tighearna.
14 Agus thubhairt Ahab, Co leis?
Agus thubhairt esan, Mar so tha'n
Tighearn ag ràdh, Le òganachaibh
uachdarana nan dùchanna [c]. An sin
thubhairt e, Cò chuireas an cath an
ordugh? Agus thubhairt esan, Thus-
a.
15 An sin dh'àireamh e òganaich
uachdarana nan dùchanna, agus bha
ann diubh dà cheud agus a dhà dheug
thar fhichead: agus nan déigh-san
dh'àireamh e an sluagh uile, *eadhon*
uile *shluagh* chloinn Israeil, seachd
mìle.
16 Agus chaidh iad a mach mu
mheadhon-là: ach *bha* Benhadad ag
òl gus an robh e air mhisg anns na
pàilliunaibh, e féin agus na righre,
eadhon an dà righ dheug thar fhichead
a bha 'ga chòmhnadh.
17 Agus chaidh òganaich uach-
darana nan dùchanna mach an tois-
each, agus chuir Benhadad *daoine* a
mach, agus dh'innis iad da, ag ràdh,
Thàinig daoine a mach a Samaria.
18 Agus thubhairt esan, Ma's ann
gu sìth a thàinig iad a mach, glacaibh
beo iad; no ma's ann gu cogadh a
thàinig iad a mach, glacaibh beo iad.
19 Agus thàinig iad a mach as a'
bhaile, òganaich uachdarana nan
dùchanna, agus an armailt a lean iad.
20 Agus mharbh gach fear diubh
'fhear: agus theich na Sirianaich, agus
ruaig Israel iad; agus chaidh Ben-
hadad righ Shiria as air muin eich,
maille ris a' mharc-shluagh.
21 Agus chaidh righ Israeil a mach,
agus bhuail e na h-eich, agus na
carbaid, agus mharbh e na Siriánaich
le h àr mòr.
22 Agus thàinig am fàidh gu righ
Israeil, agus thubhairt e ris, Falbh,
neartaich thu féin, agus thoir fa'near,
agus faic ciod a ni thu; oir aig teachd
mu'n cuairt [d] na bliadhna thig righ
Shiria nios a'd' aghaidh.
23 Agus thubhairt seirbhisich righ
Shiria ris, *Is* dée bheann an dée-san;
uime sin bhuadhaich iad oirnn: ach
cogamaid riu anns a' chòmhnard, a-
gus gun teagamh buadhaichidh sinne
orrasan.
24 Agus dean an ni so, Thoir na
righrean air falbh, gach fear as 'àit,
agus cuir ceannardan nan àit.
25 Agus àireamh dhuit féin ar-
mailt, mar an armailt a thuit agad [e],
each

[a] *combaraichibh.* [b] *Suidhichibh* na h-innealа-cogaidh. [c] *tìr.*
[d] *ath-philleadh.* [e] *a chaill thu.*

each air an each, agus carbad air a' charbad; agus cogaidh sinn riu anns a' chòmhnard, *agus* gu cinnteach buadhaichidh sinn orra [a]. Agus dh'éisd e r'an guth, agus rinn e mar sin.

26 Agus aig teachd mu'n cuairt na bliadhna dh'àireamh Ben-hadad na Sirianaich, agus chaidh e suas gu h-Aphec a chogadh ri h-Israel.

27 Agus dh'àirmheadh clann Israeil, agus bha iad uile a làthair, agus chaidh iad nan coinneamh: agus champaich clann Israeil fa'n comhair, mar dhà threud bheaga ghabhar: ach lìon na Sirianaich an tìr.

28 Agus thàinig duine le Dia, agus labhair e ri righ Israeil, agus thubhairt e, Mar so tha'n Tighearn ag ràdh, A chionn gu'n dubhairt na Sirianaich, Is Dia bheann an Tighearna, ach cha 'n e Dia nan gleann e: air an aobhar sin bheir mise an sluagh lìonmhor so uile ann ad làimh-sa, agus bithidh fios agaibh gur mise an Tighearna.

29 Agus champaich iad mo choinneamh a chéile seachd laithean: agus air an t-seachdamh là chuireadh an cath: agus mharbh clann Israeil do na Sirianaich ceud mìle coisiche ann an aon là.

30 Ach theich a' chuid eile gu h-Aphec, do'n bhaile: agus *an sin* thuit balladh air seachd mìle fichead fear do na dh'fhàgadh. Agus theich Ben-hadad, agus thàinig e do'n bhaile, do sheòmar cùil [b].

31 Agus thubhairt a sheirbhisich ris, Feuch a nis, chuala sinn mu righre tighe Israeil, gur righrean iochdmhor iad: cuireamaid ma ta saic-eudach air ar leasraidh, agus cuird [c] air ar ceann; agus rachamaid a mach gu righ Israeil; theagamh gu'n saor e t'anam.

32 Agus cheangail iad saic-eudach air an leasraidh, agus chuir iad cuird air an cinn, agus thàinig iad gu righ Israeil, agus thubhairt iad, Tha do sheirbhiseach Ben-hadad ag ràdh, Leig dhomh, guidheam ort, a bhi beo. Agus thubhairt esan, *An bheil se* fathast beo? *is e* mo bhràthair e.

33 Agus thug na daoine an aire gu furachar *a d' fheuchainn an tigeadh ni air bith* uaith, agus ghrad-ghlac iad e; agus thubhairt iad, Do bhràthair Ben hadad. An sin thubhairt esan, Ràchaibh, thugaibh leibh e. Agus thàinig Ben-hadad a mach d'a ionnsuidh; agus thug e air dol suas do'n charbad.

34 Agus thubhairt Ben-hadad ris, Na bailtean a thug m'athair-sa o t'athair-sa, bheir mise air an ais, agus ni thusa sràide dhuit féin ann an Damascus, mar a rinn m'athair-sa ann an Samaria. An sin *thubhairt Ahab*, Leigidh mise air falbh thu leis a choimhcheangal so. Mar so rinn e coimhcheangal ris, agus leig e air falbh e.

35 Agus thubhairt duine àraidh do mhacaibh nam fàidh r'a choimhearsnach ann am focal an Tighearna, Buail mi, guidheam ort. Agus dhiùlt an duine a bhualadh.

36 An sin thubhairt esan ris, A chionn nach d'éisd thu ri guth an Tighearna, feuch, co luath as a dh'fhalbhas tu uam-sa, marbhaidh leòmhan thu. Agus co luath as a dh'fhalbh e uaith, fhuair leòmhan e, agus mharbh se e.

37 Na dhéigh sin fhuair e duine eile, agus thubhairt e, Buail mi, guidheam ort. Agus bhuail gu deimhin an duine [d] e, agus lot se *e*.

38 Agus dh'fhalbh am fàidh, agus dh'fheith e air an righ làimh ris an t-slighe, agus chuir se e féin ann an coslas [e] eile le luath [f] air 'aghaidh [g].

39 Agus an uair a bha'n righ a' gabhail seachad, dh'éigh e ris an righ, agus thubhairt e, Chaidh t'òglach a steach gu meadhon a' chatha, agus feuch, thionndaidh duine a leth-taobh, agus thug e duine a'm' ionnsuidh-sa, agus thubhairt e, Gléidh am fear so: mur bi e r'a fhaotainn [h] air chor sam bith, bithidh t'anam-sa air son 'anmasan, no dìolaidh [i] tu tàlann airgid.

 40 Agus

[a] *bithidh sinn ni's treise na iad.* [b] *do sheòmar ann an seòmar.* Eabh. [c] *taoid.* [d] *bhuail an duine e le bualadh.* Eabh. [e] *duaicneachd.* [f] *gnùis-bhrat.* [g] *a shùilibh.* Eabh. [h] *ma dh'ionndruinear e.* [i] *gu'd thromaichidh.* Eabh.

40 Agus am feadh a bha t'oglach
a' bith-dheanamh an so agus an sud,
cha *robh* esan *r'a shaghail* [a]. Agus
thubhairt righ Israeil ris, Is ann mar
so *a bhitheas* do bhreitheanas-sa, dh'or-
duich thu féin *e*.
41 Agus rinn e cabhag, agus chuir
e'n luath air falbh o 'aghaidh; agus
dh'aithnich righ Israeil e, gu'*m b'ann*
do na fàidhibh e.
42 Agus thubhairt e ris, Mar so
tha'n Tighearn ag ràdh, A chionn
gu'n do leig thu as do làimh duine a
dh'orduich mise gu léir-sgrios, uime
sin bithidh t'anam-sa air son 'anma-
san, agus do shluagh-sa air son a
shluaigh-san.
43 Agus dh'fhalbh righ Israeil a
dh'ionnsuidh a thighe dubhach [b] agus
feargach [c], agus thàinig e gu Sama-
ria.

C A I B. XXI.

AGUS thachair an déigh nan
nithe sin *gu*'n robh fion-lios
aig Nabot an t-Iesreeleach, a *bha* ann
an Iesreel, làimh ri lùchairt Ahaib
righ Shamaria.
2 Agus labhair Ahab ri Nabot, ag
ràdh, Thoir dhomhsa t'fhion-lios, gu
bhi agam na lios [d] luibhean, a chionn
gu *bheil* e fagus do m' thigh, agus
bheir mise dhuitse air a shon fion-lios
a's fearr na e; no ma's e a's taitniche
leat [e], bheir mi dhuit a luach an
airgiod.
3 Agus thubhairt Nabot ri Ahab,
Nar leigeadh Dia dhomhsa, gu'n
dthugainn oighreachd m'aithriche
dhuitse.
4 Agus thàinig Ahab d'a thigh
dubhach agus feargach, air son an
fhocail a labhair Nabot an t-Iesreel-
each ris: oir thubhairt e, Cha dthoir
mi dhuit oighreachd m'aithriche: a-
gus luidh e sìos air a leabaidh, agus
thionndaidh e 'aghaidh air falbh, agus
cha'n itheadh e aran.
5 Ach thàinig Iesebel a bhean d'a
ionnsuidh, agus thubhairt i ris, C'ar
son a tha do spiorad cho dubhach, a-
gus nach ith thu aran?
6 Agus thubhairt esan ria, Air son
gu'n do labhair mi ri Nabot an
t-Iesreeleach, agus gu'n dubhairt mi
ris, Thoir dhomhsa t'fhìon-lios air
airgiod; no, ma's àill leat, bheir mi
dhuit fion-lios *eile* air a shon: agus
thubhairt esan, Cha dthoir mi dhuit
m'fhìon-lios.
7 Agus thubhairt Iesebel a bhean
ris, Tha thus' a nis a' stiùradh rìogh-
achd Israeil! Eirich, ith aran, agus
biodh do chridhe subhach: bheir
mise dhuit fion-lios Naboit an Ies-
reelich.
8 Agus sgrìobh i litrichean ann an
ainm Ahaib, agus sheulaich i *iad* le
'sheula; agus chuir i na litriche
dh'ionnsuidh nan seanair, agus a
dh'ionnsuidh nan uaislean a *bha*
chòmhnuidh maille ri Nabot na
bhaile.
9 Agus sgrìobh i anns na litrichibh,
ag ràdh, Gairmibh trosgadh, agus
thugaibh air Nabot suidhe an toiseach
an t-sluaigh.
10 Agus cuiribh dithis dhaoine,
mic Bhelial, mu 'choinneamh, a thoirt
fianuis na aghaidh, ag ràdh, Mhas-
laich thu [f] Dia agus an righ: agus
an sin thugaibh a mach e, agus clach-
aibh e, a chum gu'm faigh e bàs.
11 Agus rinn daoine a bhaile,
eadhon na seanairean, agus na h-uais-
lean a chòmhnuich na bhaile, a réir
an fhios a chuir Iesebel d'an ionnsuidh,
a réir *an ni a bha* sgrìobhta anns na
litrichibh a chuir i d'an ionnsuidh.
12 Ghairm iad trosgadh, agus thug
iad air Nabot suidhe an toiseach an
t-sluaigh.
13 Agus thàinig dithis dhaoine,
mic Bhelial, agus shuidh iad mu
'choinneamh: agus rinn fir Bhelial
fianuis na aghaidh, *eadhon an aghaidh*
Naboit, an làthair an t-sluaigh, ag
ràdh, Mhaslaich Nabot Dia agus an
righ. An sin thug iad a mach as a'
bhaile e, agus chlach iad e le clach-
aibh, agus fhuair e bàs.
14 Na dhéigh sin chuir iad *teachd-
aire* gu Iesebel, ag ràdh, Chlachadh
Nabot, agus tha e marbh.
15 Agus an uair a chuala Iesebel
gu'n do chlachadh Nabot, agus gu'n
robh e marbh, thubhairt Iesebel ri
Ahab,

[a] fhaotainn. [b] *tuirseach* [c] *fa mhi-ghean.* [d] *ghàradh.*
[e] *fearr a'd' shùilibh.* Eabh. [f] *Mhallaich thu, thug thu toibheum do.*

Ahab, Eirich, gabh sealbh ann am
fion-lios Naboit an Iesreelich, a dhiùlt
e thoirt duit air airgiod; oir cha
'n'eil Nabot beo, ach marbh.
16 Agus an uair a chual Ahab
gu'n robh Nabot marbh, dh'éirich
Ahab a dhol sios gu fion-lios Naboit
an Iesreelich, a ghabhail seilbh ann.
17 Agus thàinig focal an Tighear-
na dh'ionnsuidh Eliah an Tisbidhich,
ag ràdh,
18 Eirich, falbh sios a choinneach-
adh Ahaib righ Israeil, a *tha* ann an
Samaria: feuch, tha e ann am fion-
lios Naboit, d'an deachaidh e sios a
ghabhail seilbh ann.
19 Agus labhraidh tu ris, ag ràdh,
Mar so tha'n Tighearn ag ràdh, An
do mharbh thu, agus mar an ceudna
an do ghabh thu sealbh? Agus
labhraidh tu ris, ag ràdh, Mar so
tha'n Tighearn ag ràdh, Anns an
àit anns an d'imlich na madraidh fuil
Naboit, imlichidh na madraidh t'fhuil-
sa, eadhon *t'fhuil-sa.*
20 Agus thubhairt Ahab ri h-Eliah,
An d'fhuair thu mi, O mo nàmhaid?
Agus thubhairt esan, Fhuair mi *thu;*
a chionn gu'n do reic thu thu féin a
dheanamh uilc ann an sùilibh an
Tighearna.
21 Feuch, bheir mise olc ort, agus
cuiridh mi as do d' shliochd, agus
gearraidh mi air falbh o Ahab esan a
ni uisge ri balladh, agus esan a
dhruidear a stigh, agus a dh'fhàgar
ann an Israel.
22 Agus ni mi do thigh-sa mar
thigh Ieroboaim mhic Nebait agus
mar thigh Bhaasa mhic Ahiah, air
son a' bhrosnachaidh leis an do
bhrosnaich thu *mi* gu feirg, agus leis
an d'thug thu air Israel peacachadh.
23 Agus mar an ceudna mu Iesebel
labhair an Tighearna, ag ràdh, Ithidh
na madraidh Iesebel aig balladh [a] Ies-
reeil.
24 Esan a gheibh bàs do Ahab anns
a' bhaile ithidh na madraidh, agus
esan a gheibh bàs anns a' mhachair [b]
ithidh eunlaith an athair.

25 Ach cha robh *neach* ann cos-
mhuil ri Ahab, a reic e féin a dhean-
amh uilc ann an sùilibh an Tighear-
na, do bhrìgh gu'n do tharruing a
bhean Iesebel thuige [c] e.
26 Agus rinn e nithe ro-ghràineil
ann an leantuinn dhée bréige [d], a réir
nan uile *nithe* a rinn na h-Amoraich,
a thilg an Tighearn a mach roimh [e]
chloinn Israeil.
27 Agus an uair a chual Ahab na
briathra sin, reub e 'eudach, agus
chuir e saic-eudach air 'fheoil, agus
throisg e, agus luidh e ann an saic-
eudach, agus ghluais e gu mall [f].
28 Agus thàinig focal an Tighear-
na, gu Eliah an Tisbidheach, ag ràdh,
29 Am faic thusa mar a tha Ahab
'ga ùmhlachadh féin a'm' fhianuis-sa?
a chionn gu bheil e 'ga ùmhlachadh
féin a'm' fhianuis, cha dthoir mi an
t-olc na laithibh-san: *ach* ann an
laithibh a mhic bheir mi an t-olc air
a thigh.

C A I B. XXII.

AGUS dh'fhan iad tri bliadhna
gun chogadh eadar Siria agus
Israel.
2 Agus anns an treas bliadhna
thàinig Iehosaphat righ Iudah a nuas
gu righ Israeil.
3 (Agus thubhairt righ Israeil r'a
sheirbhisich, Nach 'eil fhios agaibh gur
leinne Ramot ann an Gilead? agus
gidheadh tha sinn gun ghuth againn
air a ghlacadh [g] a làimh righ Shiria.)
4 Agus thubhairt e ri Iehosaphat,
An dthéid thu maille riumsa gu cath
do Ramot-gilead? Agus thubhairt
Iehosaphat ri righ Israeil, *Tha* mise
mar *a ta* thusa, mo shluagh-sa mar do
shluagh-sa, m'eich-sa mar t'eich-sa.
5 Agus thubhairt Iehosaphat ri
righ Israeil, Fiosraich [h], guidheam
ort, an diugh do fhocal an Tighearna.
6 Uime sin chruinnich righ Israeil
na fàidhean an cionn a chéile, mu
thimchioll ceithir cheud fear, agus
thubhairt e riu, An dthéid mi an
aghaidh Ramot-gilead gu cath, no'n
leig

[a] *ann an daingneach.* [b] *anns an fhearann.* [c] *chuige.*
[d] *dhealbh, iodhola.* [e] *o aghaidh.* Eabh. [f] *gu foil.* [g] *gu ...*
fosdo a ghlacadh. Eabh. [h] *Feòraich.*

leig mi leis? Agus thubhairt iadſan,
Falbh ſuas, oir bheir an Tighearn an
làimh an righ *e*.
7 Agus thubhairt Iehoſaphat, Nach
'eil an ſo fàidh tuilleadh leis an Tigh-
earna, chum gu'm fioſraich ſinn dheth?
8 Agus thubhairt righ Iſraeil ri
Iehoſaphat, *Tha* fathaſt aon fhear *ann*,
Micaiah mac Imlah, leis am feud
ſinn fioſrachadh do'n Tighearna; ach
tha fuath agam dha, oir cha mhaith
a chuireas e air mo mhanadh-ſa [a], ach
olc. Agus thubhairt Iehoſaphat, Na
h abradh an righ mar ſin.
9 Agus ghairm righ Iſraeil air
maor [b], agus thubhairt e, Greas *an ſo*
Micaiah mac Imlah.
10 Agus ſhuidh righ Iſraeil, agus
Iehoſaphat righ Iudah, gach fear air
a righ-chaithir féin, le'n earradh
rìoghail orra, ann an àite réidh, ann
an dol a ſteach geataidh Shamaria, a-
gus na fàidhean uile ri fàidheadair-
eachd nam fianuis.
11 Agus rinn Sedeciah mac Chen-
aanah adhaircean iaruinn dha féin, a-
gus thubhairt e, Mar ſo tha'n Tigh-
earn ag ràdh, Leo ſo buailidh tu na
Sirianaich, gus an cuir thu as doibh.
12 Agus rinn na fàidhean uile
fàidheadaireachd [c] mar ſo, ag ràdh,
Falbh ſuas gu Ramot-gilead, agus
ſoirbhich; oir bheir an Tighearn an
làimh an righ *e*.
13 Agus an teachdair' a chaidh a
ghairm Mhicaiah, labhair *e* ris, ag
ràdh, Feuch a nis, *tha* briathra nam
fàidh le h-aon bheul *a' foillſeachadh*
maith do'n righ: bitheadh t'fhocal-ſa,
guidheam ort, mar fhocal aoin
diubhſan, agus labhair *an ni a ta*
maith.
14 Agus thubhairt Micaiah, *Mar*
is beo an Tighearna, an *ni* a their an
Tighearna rium, ſin labhraidh miſe.
15 Agus thàinig e dh'ionnſuidh an
righ, agus thubhairt an righ ris, A
Mhicaiah, an dtheid ſinn do Ramot-
gilead gu cath, no'n leig ſinn leis?
Agus thubhairt eſan ris, Falbh ſuas,
agus ſoirbhich; oir bheir an Tigh-
earn an làimh an righ e.
16 Agus thubhairt an righ ris, Cia
lìon uair a mhionnaicheas mi thu,
nach innis thu dhomh ach an fhìrinn
ann an ainm an Tighearna?
17 Agus thubhairt eſan, Chunnaic
mi Iſrael uile ſgapta air na ſléibhtibh,
mar chaoraich aig nach *'eil* aodhaire [d]:
agus thubhairt an Tighearna, Cha
'n'eil maighſtir orra ſo: pilleadh gach
fear dhiubh d'a thigh féin ann an
ſìth.
18 Agus thubhairt righ Iſraeil ri
Iehoſaphat, Nach d'innis mi dhuit,
nach cuireadh e maith ſam bith air
mo-mhanadh-ſa [e], ach olc?
19 Agus thubhairt eſan, Uime ſin
éiſd thuſa [f] ri focal an Tighearna:
Chunnaic miſe an Tighearna na
ſhuidhe air a righ-chaithir, agus uile
ſhlòigh nan nèamh nan ſeaſamh làimh
ris, air a làimh dheis agus air a làimh
chli.
20 Agus thubhairt an Tighearna,
Cò a chuireas impidh [g] air Ahab, a
chum as gu'n dtheid e ſuas, agus gu'n
tuit e ann an Ramot-gilead? Agus
thubhairt aon mar ſo, agus aon eile
mar ſud.
21 Agus thàinig ſpiorad a mach,
agus ſheas e am fianuis an Tighearna,
agus thubhairt e, Cuiridh miſe impidh
air.
22 Agus thubhairt an Tighearna
ris, Co leis? Agus thubhairt eſan,
Théid mi mach, agus bithidh mi a'm'
ſpiorad bréige ann am beul 'fhàidhean
uile. Agus thubhairt e, Cuiridh tu
impidh air, agus mar an ceudna
buadhaichidh tu: falbh a mach, agus
dean mar ſin.
23 A nis uime ſin, feuch, chuir an
Tighearna ſpiorad bréige ann am
beul nam fàidh ſin agad uile, agus
labhair an Tighearn olc mu d' thim-
chioll.
24 Agus chaidh Sedeciah mac
Chenaanah am fagus, agus bhuail e
Micaiah air a' ghiall, agus thubhairt
e, Cia'n

[a] *cha tairgir e maith mu m'-thimchioll-ſa.* [b] *caillteanach; eunuch.* Saſg. [c] *fàiſtineachd, manadaireachd.* [d] *treudaiche, buachaille.* [e] *nach roimh-innſeadh e maith ſam bith mu m' thimchioll-ſa.* [f] *éiſdibh.* [g] *a dh'aomas, a mheallas.*

e, Cia'n taobh a chaidh spiorad an Tighearna uamsa a labhairt riutsa?

25 Agus thubhairt Micaiah, Feuch, chi thu san là air an dthéid thu steach do sheòmar-cùil [a] gu t'fhol-achadh féin.

26 Agus thubhairt righ Israeil, Glacaibh [b] Micaiah, agus thugaibh air ais e gu Amon uachdaran a' bhaile, agus gu Ioas mac an righ:

27 Agus abraibh, Mar so thubhairt an righ, Cuiribh am *fear* so anns a' phrìosan [c], agus beathaichibh e le aran airce [d], agus le uisge airce, gus an dthig mise ann an sìth.

28 Agus thubhairt Micaiah, Ma philleas tusa idir ann an sìth, cha do labhair an Tighearna leamsa. Agus thubhairt e, Eisdibh, a shlòigh uile.

29 Uime sin chaidh righ Israeil, agus Iehosaphat righ Iudah, suas gu Ramot-gilead.

30 Agus thubhairt righ Israeil ri Iehosaphat, Cuiridh mise mi féin ann an coslas eile, agus théid mi a steach do'n chath; ach cuir thusa t'earradh *rìoghail* ort. Agus chuir righ Israeil e féin ann an coslas eile, agus chaidh e steach do'n chath.

31 Ach dh'àithn righ Shiria do'n dà cheannard deug thar fhichead a bha os cionn a charbad, ag ràdh, Na cogaibh ris a' bheag no ris a' mhòr, ach ri righ Israeil na aonar.

32 Agus an uair a chunnaic ceannardan nan carbad Iehosaphat, thubhairt iad, Gu cinnteach *is* e so righ Israeil. Agus thionndaidh iad a leth-taobh a chogadh na aghaidh: agus ghlaodh Iehosaphat a mach.

33 Agus an uair a chunnaic ceannardan nan carbad nach *b'e* righ Israeil a bh'ann, phill iad o a leantuinn.

34 Agus tharruing fear *a* bhogha a thaobh tuairimeis [e], agus bhuail e righ Israeil eadar altaibh na lùirich: uime sin thubhairt e r'a charbadair, Tionndaidh do làmh, agus thoir a mach as an fheachd mi; oir tha mi air mo lotadh.

35 Agus mheudaich [f] an cath air an là sin: agus chumadh an righ suas na charbad an aghaidh nan Siridheach, agus fhuair e bàs mu fheasgar; agus ruith an fhuil a mach as an lot gu meadhon a' charbaid.

36 Agus chaidh gairm air feadh an t-slòigh mu luidhe na gréine, ag ràdh, Gach fear d'a bhaile, agus gach fear d'a thìr féin.

37 Agus dh'eug an righ, agus thugadh do Shamaria e: agus dh'adhlaic iad an righ ann an Samaria.

38 Agus nigh *neach* an carbad ann an lochan Shamaria, agus dh'imlich na madraidh 'fhuil, agus nigh iad 'armachd, a réir focail an Tighearn, a labhair e.

39 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Ahaib, agus na h-uile *nithe* a rinn e, agus an tigh do fhiaclaibh *elephant* a thog e, agus na bailtean uile a thog e, nach *'eil* iad scrìobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Israeil?

40 Agus choidil Ahab maille r'a aithrichibh, agus rìoghaich Ahasiah a mhac na àit.

41 Agus thòisich Iehosaphat mac Asa air rìoghachadh os cionn Iudah anns a' cheathramh bliadhna do Ahab righ Israeil.

42 Bha Iehosaphat cùig bliadhna deug thar fhichead a dh'aois an uair a thòisich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e cùig bliadhna fichead ann an Ierusalem: agus b'e ainm a mhàthar Asubah, nighean Shilhi.

43 Agus ghluais e ann an uile shlighe Asa 'athar, cha do chlaon e uaithe, a' deanamh an *ni a bha* ceart ann an sùilibh an Tighearna: gidheadh, cha d'thugadh air falbh na h-àitean arda, *oir* fathast dh'ìobair an sluagh, agus loisg iad tùis anns na h-àitibh arda.

44 Agus rinn Iehosaphat sìth ri righ Israeil.

45 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Iehosaphait, agus a thréine [g] a dh'fheuch e, agus cionnus a chog e, nach *'eil* iad scrìobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Iudah?

46 Agus fuigheall nan Sodomach a dh'fhan

[a] *do sheòmar ann an seòmar.* Eabh. [b] *Glac.* [c] *ghainntir; tigh a' phrìosain.* Eabh. [d] *àmhghair, gainne.* [e] *tuairim, teagmhuis.* [f] *dh'éirich.* Eabh. [g] *neart.*

dh'fhan ann an laithibh Asa 'athar, chuir e as an tìr.

47 San àm sin cha robh righ ann an Edom: b'fhear-riaghlaidh *a bha* na righ [a].

48 Rinn Iehosaphat longa do Tharsis [b] gu dol do Ophir air son òir: (ach cha deachaidh iad *ann;* oir bhriseadh na longa ann an Esion-geber.)

49 Agus thubhairt Ahasiah mac Ahaib ri Iehosaphat, Rachadh mo sheirbhisich sa maille ri d' sheirbhis-ich-sa anns na longaibh: ach cha b'àill le Iehosaphat *sin.*

50 Agus choidil Iehosaphat maille r'a aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh e maille r'a aithrichibh ann am baile Dhaibhidh 'athar: agus rìoghaich Iehoram a mhac na àit.

51 Thòisich Ahasiah mac Ahaib air rìoghachadh os cionn Israeil ann an Samaria san t seachdamh bhliadh-na deug do Iehosaphat righ Iudah, agus rìoghaich e os cionn Israeil dà bhliadhna.

52 Agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna, agus ghluais e ann an slighe 'athar, agus ann an slighe a mhàthar, agus ann an slighe Iero-boaim mhic Nebait, a thug air Israel peacachadh.

53 Oir rinn e seirbhis do Bhaal, agus shleuchd e dha, agus bhrosnaich e 'n Tighearna Dia Israeil gu feirg, a réir nan uile *nithe* a rinn 'athair.

Dara

[a] bha'*n* *àite righ.* [b] *longa fairge.*

Dara Leabhar nan RIGH,

d'an goirear gu coitcheann,

Ceathramh Leabhar nan RIGH.

C A I B. I.

AGUS rinn Moab ceannairc an
aghaidh Iſraeil an déigh bàis
Ahaib.
2 Agus thuit Ahaſiah sìos troimh
chliath-uinneig na ſheòmar uachd-
arach a *bha* ann an Samaria, agus bha
e tinn: agus chuir e teachdairean
uaith, agus thubhairt e riu, Rachaibh,
fioſraichibh do Bhaal-ſebub dia Ecroin,
an dthig mi beo o'n tinneas ſo.
3 Ach thubhairt aingeal an Tigh-
earn, ri Eliah an Tiſbidheach,
Eirich, falbh ſuas an coinneamh
theachdairean righ Shamaria, agus
abair riu, An ann a chionn nach *'eil*
Dia ann an Iſrael, a tha ſibh a' dol a
dh'fhioſrachadh do Bhaal-ſebub dia
Ecroin?
4 A nis uime ſin mar ſo tha'n
Tighearn ag ràdh, O'n leabaidh ſin
air an deachaidh tu ſuas, cha dthig
thu a nuas, ach gu cinnteach gheibh
thu bàs. Agus dh'fhalbh Eliah.
5 Agus an uair a phill na teachd-
airean d'a ionnſuidh, thubhairt e riu,
C'ar ſon a tha ſibh air pilltinn?
6 Agus thubhairt iadſan ris,
Thàinig duine a nìos 'nar coinneamh,
agus thubhairt e ruinn, Rachaibh,
pillibh a dh'ionnſuidh an righ a chuir
uaith ſibh, agus abraibh ris, Mar ſo
tha'n Tighearn ag ràdh, An ann a
chionn nach *'eil* Dia ann an Iſrael, *a
tha* thu a' cur *theachdairean* a dh'fhioſ-
rachadh do Bhaal-ſebub dia Ecroin?
Uime ſin o'n leabaidh ſin air an
deachaidh tu ſuas, cha dthig thu a
nuas, ach gu cinnteach gheibh thu
bàs.
7 Agus thubhairt e riu, Ciod e
eugas [a] an duine a thàinig a nìos 'nar
coinneamh, agus a labhair ribh na
briathra ſin?
8 Agus thubhairt iadſan ris, Duine
molach, agus *e* crioſlaichte le crios
leathair m'a leaſraidh. Agus thubh-
airt eſan, *Is* e Eliah an Tiſbidheach
a bh'ann.
9 Agus chuir an righ d'a ionnſuidh
ceannard leth-cheud, maille r'a lèth-
cheud: agus chaidh e ſuas d'a ionn-
ſuidh, (agus feuch, *bha* e na ſhuidhe
air mullach ſléibh) agus labhair e ris,
A dhuine le Dia, thubhairt an righ,
Thig a nuas.
10 Agus fhreagair Eliah, agus
thubhairt e ri ceannard an leth-cheud,
Agus ma's duine le Dia miſe, thigeadh
teine a nuas o na nèamhaibh, agus
loiſgeadh e ſuas thuſa agus do leth-
cheud. Agus thàinig teine a nuas o
na nèamhaibh, agus loiſg e ſuas eſan
agus a leth-cheud.

11 Agus

[a] *aogas, coſlas.*

11 Agus a rìs chuir e d'a ionnſuidh ceannard eile leth-cheud, maille r'a leth-cheud: agus labhair e, agus thubhairt e ris, A dhuine le Dia mar ſo thubhairt an righ, Thig a nuas gu grad [a].

12 Agus fhreagair Eliah agus thubhairt e riu, Ma's duine le Dia miſe, thigeadh teine a nuas o na nèamhaibh, agus loiſgeadh e ſuas thuſa agus do leth-cheud. Agus thàinig teine Dhé a nuas o na nèamhaibh, agus loiſg e ſuas eſan agus a leth cheud.

13 Agus a rìs chuir e uaith ceannard an treas leth-cheud, maille r'a leth-cheud; agus chaidh an treas ceannard leth-cheud ſuas, agus thàinig e, agus leig ſe e féin air a ghlùinibh fa chomhair Eliah, agus dh'aſlaich e air, agus thubhairt e ris, A dhuine le Dia, bitheadh, guidheam ort, m'anam-ſa, agus anam an leth-cheud òglach ſo agad, luachmhor a'd' ſhùilibh.

14 Feuch, thàinig teine a nuas o na nèamhaibh, agus loiſg e ſuas an dà cheud cheannard leth-cheud, maille r'an leth-cheudaibh; ach a nis bitheadh m'anam-ſa luachmhor a'd' ſhùilibh.

15 Agus thubhairt aingeal an Tighearna ri Eliah, Falbh ſios maille ris, na biodh eagal ort roimhe. Agus dh'éirich e, agus chaidh e ſios maille ris a dh'ionnſuidh an righ.

16 Agus thubhairt e ris, Mar ſo tha'n Tighearn ag ràdh, A chionn gu'n do chuir thu teachdairean a dh'fhioſrachadh do Bhaal-ſebub dia Ecroin, mur nach biodh Dia ann an Iſrael a dh'fhioſrachadh d'a fhocal [b], uime ſin o'n leabaidh ſin air an deachaidh tu ſuas, cha dthig thu nuas, ach gu cinnteach gheibh thu bàs.

17 Agus fhuair e bàs a réir focail an Tighearna, a labhair Eliah: agus rìoghaich Iehoram na àit [c], anns an dara bliadhna do Iehoram mac Iehoſaphait righ Iudah, a chionn nach robh mac aige.

18 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Ahaſiah a rinn e, nach '*eil* iad ſcrìobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Iſraeil?

CAIB. II.

AGUS thachair an uair a bha'n Tighearna gu Eliah a thogail ſuas le h-iomghaoith do na nèamhaibh, gu'n deachaidh Eliah maille ri Eliſa o Ghilgal.

2 Agus thubhairt Eliah ri Eliſa, Fan an ſo, guidheam ort; oir chuir an Tighearna miſe gu Betel. Agus thubhairt Eliſa *ris*, *Mar* is beo an Tighearna, agus *mar* is beo t'anam, cha'n fhàg mi thu. Agus chaidh iad ſios gu Betel.

3 Agus thàinig mic nam fàidh a *bha* ann am Betel a mach gu Eliſa, agus thubhairt iad ris, Am bheil fhios agad gu'n dthoir an Tighearn an diugh do mhaighſtir air falbh o'd' cheann? Agus thubhairt eſan, Seadh, tha fhios agam air; bithibhſe 'nar toſd.

4 Agus thubhairt Eliah ris, Eliſa, fan an ſo, guidheam ort; oir chuir an Tighearna miſe gu Iericho. Agus thubhairt eſan, *Mar* is beo an Tighearna, agus *mar* is beo t'anam, cha dealaich mi riut. Agus thàinig iad gu Iericho.

5 Agus thàinig mic nam fàidh a *bha* ann an Iericho gu Eliſa, agus thubhairt iad ris, Nach 'eil fhios agadſa gu'n dthoir an Tighearn an diugh do mhaighſtir air falbh o d' cheann? Agus fhreagair eſan, Seadh, tha fhios agam air, bithibhſe 'nar toſd.

6 Agus thubhairt Eliah ris, Fan, guidheam ort, an ſo; oir chuir an Tighearna miſe gu Iordan. Agus thubhairt eſan, *Mar* is beo an Tighearna, agus *mar* is beo t'anam, cha'n fhàg mi thu. Agus chaidh iad nan dithis air an aghaidh.

7 Agus chaidh leth-cheud fear do mhacaibh nam fàidh, agus ſheas iad fa'n comhair fad as: agus ſheas iadſan nan dithis làimh ri Iordan.

8 Agus ghabh Eliah 'fhalluing, agus dh'fhill e cuideachd *i*, agus bhuail e na

e na

[a] *Greas ort, thig a nuas.* Eabh.

[b] *an ann a chionn nach 'eil Dia ann an Iſrael a dh'fheòrach d'a fhocal?* Eabh.

[c] *rìoghaich Iehoram, a bhràthair, na àit.*

na h uisgeacha, agus roinneadh iad
a null agus a nall: agus chaidh iadsan
nan dithis thairis air *talamb* tioram.
9 Agus an uair a bha iad air dol
thairis, thubhairt Eliah ri Elisa, Iarr
ciod is àill leat mise a dheanamh air
do shon, mun dthoirear mi air falbh
uait. Agus thubhairt Elisa, Bitheadh,
guidheam ort, cuibhrionn dhùbailte
do d' spiorad orm.
10 Agus thubhairt esan, Is
cruaidh an ni a dh' iarr thu: *gidheadh*,
ma chi thu mise 'nuair a bheirear air
falbh uait mi, bithidh e dhuit mar sin;
ach mur *faic*, cha bhi e *mar sin*.
11 Agus an uair a bha iad a gabhail
air an aghaidh, agus a' còmhradh,
feuch, carbad teine, agus eich theine,
agus dhealaich iad o chéile iad: agus
chaidh Eliah suas le h-iomghaoith do
na nèamhaibh.
12 Agus chunnaic Elisa *sin*, agus
ghlaodh e, M'athair, m'athair, carbad
Israeil, agus a mharc-shluagh. Agus
cha'n fhac' e ni's mo e: agus rug e
air 'eudach féin, agus reub e na dhà
mhìr [a] e.
13 Agus thog e suas falluing Eliah,
a thuit uaith, agus phill e, agus sheas
e làimh ri bruaich Iordain;
14 Agus ghabh e falluing Eliah a
thuit uaith, agus bhuail e na h-uisg-
eacha, agus thubhairt e, C'àit a nis
am bheil an Tighearna Dia Eliah? A-
gus an uair a bhuail e na h-uisgeacha,
roinneadh iad a null agus a nall, agus
chaidh Elisa thairis.
15 Agus an uair a chunnaic mic
nam fàidh e, a *bha* ann an Ierichò fa
chomhair, thubhairt iad, Dh'fhan
spiorad Eliah air Elisa. Agus thàinig
iad na choinneamh, agus chrom siad
iad féin dha [b] gu làr.
16 Agus thubhairt iad ris, Feuch
a nis, tha maille ri d' sheirbhisich
leth-cheud fear treun [c]; rachadh iad,
guidheamaid ort, agus iarradh iad do
mhaighstir, air eagal gu'n do thog
spiorad an Tighearna suas e, agus gu'n
do thilg se e air beinn éigin, no ann
an gleann éigin. Agus thubhairt
esan, Cha chuir sibh uaibh *iad*.
17 Agus an uair a chuir iad impidh
air gus an robh nàire air, thubhairt e,
Cuiribh uaibh *iad*. Agus chuir iad
uatha leth-cheud fear, agus dh'iarr
iad e rè thri laithean, ach cha d'fhuair
iad e.
18 Agus an uair a thàinig iad à rìs
d'a ionnsuidh, agus e a chòmhnuidh
ann an Ierichò, thubhairt e riu, Nach
dubhairt mise ribh, Na rachaibh?
19 Agus thubhairt fir a' bhaile ri
Elisa, Feuch a nis, *tha* suidheachadh
a' bhaile *so* taitneach mar *a tha* mo
thighearn a' faicinn, ach *tha*'n t-uisge
olc, agus an talamh neo-thorach.
20 Agus thubhairt esan, Thugaibh
a'm' ionnsuidh soitheach [d] nomha, a-
gus cuiribh salann ann. Agus thug
iad d'a ionnsuidh *e*.
21 Agus chaidh e mach a dh'ionn-
suidh tobair [e] nan uisgeacha, agus
thilg e salann an sin, agus thubhairt
e, Mar so tha'n Tighearn ag ràdh,
Shlànuich mi na h-uisgeacha sin: cha
bhi o sin ni's mò bàs, no *talamb* neo-
thorach.
22 Agus shlànuicheadh na h-uisg-
eacha gus an la'n diugh, a réir focail
Elisa a labhair e.
23 Agus chaidh e suas as sin gu
Betel: agus an uair a bha e a' dol
suas air an t-slighe, thàinig clann
bheag [f] a mach as a' bhaile, agus rinn
iad fanoid air, agus thubhairt iad ris,
Gabh suas, fhir mhaoil; gabh suas,
fhir mhaoil.
24 Agus sheall e na dhéigh, agus
chunnaic e iad, agus mhallaich e iad
ann an ainm an Tighearna: agus
thàinig dà mhath-ghamhuin bhanionn
a mach as a' choille, agus reub iad a
dhà agus dà fhichead duine cloinne
dhiubh.
25 Agus chaidh e as sin gu sliabh
Charmeil: agus as sin phill e gu Sam-
aria.

C A I B. III.

A NIS thòisich Iehoram mac
Ahaib air rìoghachadh os cionn
Israeil ann an Samaria, anns an ochd-
amh bliadhna deug do Iehosaphat righ
Iudah, agus rìoghaich e dà bhliadhna
dheug.
2 Agus rinn e olc ann an sùilibh an
Tighearna,

[a] *reubadh*. Eabh. [b] *na làthair*. [c] *mic neart*. Eabh. [d] *corn, glein*.
[e] *teachd a mach, màthair*. [f] *giullain bheaga*.

Tighearna, ach cha *b'ann* coſmhuil r'a athair, agus coſmhuil r'a mhàthair; oir chuir e air falbh dealbh Bhaail a rinn 'athair.

3 Gidheadh, ri peacaibh Ieroboaim mhic Nebait a thug air Iſrael peacachadh, dhlùth-lean e: cha do dhealaich e riu ſin.

4 Agus bha Meſà righ Mhoaib na ſhealbhadair chaorach, agus dh'ioc e do righ Iſraeil ceud mìle uan, agus ceud mìle reithe le'n olainn.

5 Agus an uair a dh'eug Ahab, rinn righ Mhoaib ceannairc an aghaidh righ Iſraeil.

6 Agus chaidh righ Iehoram a mach air an là ſin a Samaria, agus dh'àireamh e Iſrael uile.

7 Agus chaidh e, agus chuir e *teachdairean* gu Iehoſaphat righ Iudah, ag ràdh, Rinn righ Mhoaib ceannairc a'm' aghaidh: an dthéid thu maille rium an aghaidh Mhoaib gu cath? Agus thubhairt eſan, Théid mi ſuas: *tha* miſe, mar *a ta* thuſa, mo ſhluaghſa mar do ſhluagh-ſa, m'eich-ſa mar t'eich-ſa.

8 Agus thubhairt e, Cia an rathad a théid ſinn ſuas? Agus fhreagair eſan, Rathad fàſaich Edoim.

9 Agus dh'imich righ Iſraeil, agus righ Iudah, agus righ Edoim, agus chaidh iad mu'n cuairt aſtar ſheachd là; agus cha robh uiſge *aca* do'n t-ſluagh, agus do'n ſpréidh a lean iad.

10 Agus thubhairt righ Iſraeil, Mo thruaighe, gu'n do-ghairm an Tighearna na tri righre ſo cuideachd, chum an toirt thairis do làimh Mhoaib.

11 Agus thubhairt Iehoſaphat, Nach *'eil* an ſo fàidh leis an Tighearna, a chum gu'm fioſraich ſinn do'n Tighearn leis? Agus fhreagair aon do ſheirbhiſich righ Iſraeil, agus thubhairt e, *Tha*'n ſo Eliſa mac Shaphait, a thaom uiſge air làmhan Eliah.

12 Agus thubhairt Iehoſaphat, Tha focal an Tighearna maille ris. Agus chaidh righ Iſraeil, agus Iehoſaphat, agus righ Edoim, ſios d'a ionnſuidh.

13 Agus thubhairt Eliſa ri righ Iſraeil, Ciod e mo ghnothuch-ſa riutſa? imich a dh'ionnſuidh fhàidhean t'athar, agus a dh'ionnſuidh fhàidhean do mhàthar. Agus thubhairt righ Iſraeil ris, Ni h-eadh: oir ghairm an Tighearna na tri righre ſo cuideachd, chum an toirt thairis do làimh Mhoaib.

14 Agus thubhairt Eliſa, *Mar* is beo Tighearna nan ſlògh, an làthair am bheil mi a'm ſheaſamh, gu cinnteach mur biodh meas agamſa do làthaireachd [a] Iehoſaphait righ Iudah, cha ſeallainn ortſa, ni mò a chithinn thu.

15 Ach a nis thugaibh a'm' ionnſuidh fear-ciuil. Agus an uair a bha 'm fear-ciuil a' cluicheadh, bha làmh an Tighearn air.

16 Agus thubhairt e, Mar ſo tha'n Tighearn ag ràdh, Dean an gleann ſo làn do chlaiſibh [b]:

17 Oir mar ſo tha'n Tighearn ag ràdh, Cha'n fhaic ſibh gaoth, ni mò a chi ſibh uiſge; gidheadh lìonar an gleann ſo le h-uiſge, agus òlaidh ſibh, ſibh féin agus bhur ſpréidh, agus bhur n-ainmhidhean.

18 Agus is beag [c] ſo ann an sùilibh an Tighearna: bheir e mar an ceudna na Moabaich thairis d'ar làimh.

19 Agus buailidh ſibh gach baile daingnichte, agus gach baile taghta, agus leagaidh ſibh sìos gach craobh mhaith, agus dùinidh ſibh ſuas na tobair uiſge uile, agus millidh ſibh gach mìr maith *fearainn* le clachaibh.

20 Agus anns a' mhaduinn, mu àm toirt ſuas an tabhartais-bhidh, feuch, thàinig uiſge rathad Edoim, agus lìonadh an tìr le h-uiſge.

21 Agus an uair a chuala na Moabaich uile gu'n d'thàinig na righrean a nìos a chogadh nan aghaidh, ghairmeadh cuideachd iadſan uile a thàinig gu aois airm iomchar [d], agus os a chionn *ſin*, agus ſheas iad aig a' chrìch.

22 Agus dh'éirich iad gu moch anns a' mhaduinn, agus dhealraich a' ghrian air na h-uiſgeachaibh, agus chunnaic na Moabaich thall fa'n comhair na h-uiſgeacha dearg mar fhuil:

23 Agus thubhairt iad, *Is* fuil ſo:

ſgrioſadh

[a] *do ghnùis.* [b] *na chlaiſibh, chlaiſibh.* Eabh. [c] *eutrom, fuarach.*
[d] *gach neach a chrioſlaich e féin le crios.* Eabh.

ſgrioſadh gun teagamh na righre, agus bhuail iad a chéile: a nis ma ta, dh'ionnſuidh na creiche, a Mhoaib.

24 Agus an uair a thàinig iad gu camp Iſraeil, dh'éirich na h-Iſraelich, agus bhuail iad na Moabaich, agus theich iad rompa: ach chaidh iadſan air an aghaidh a' bualadh nam Moab-ach, eadhon nan *tìr féin*.

25 Agus leag iad sìos na bailte, a-gus air gach mìr maith fearainn thilg gach fear a chlach, agus lìon iad e, a-gus dhùin iad ſuas gach tobar uiſge, agus leag iad sìos gach craobh mhaith: a mhàin ann an Cir-haraſet dh'fhàg iad a chlacha: ach chuairtich luchd nan crann-tàbhuill e, agus bhuail iad e.

26 Agus an uair a chunnaic righ Mhoaib gu'n do bhuadhaich an cath air, thug e leis ſeachd ceud fear a tharruing claidheamh, a chum briſeadh a ſteach gu righ Edoim, ach cha b'urrainn iad.

27 An ſin ghabh e a cheudghin mic, a bha gu rìoghachadh na àit, a-gus dh'ìobair ſe e mar ìobairt-loiſgte air a' bhalladh: agus bha corruich mhòr an aghaidh Iſraeil: agus dh'imich iad uaith, agus phill iad d'*an* tìr *féin*.

C A I B. IV.

A NIS ghlaodh bean àraidh do mhnaibh mhac nam fàidh ri Eliſa, ag ràdh, Fhuair t'òglach m'fhear bàs; agus tha fios agad gu'n robh eagal an Tighearn air t'òglach: agus tha fear nam fiach air teachd a thoirt mo dhithis mac leis gu bhi nan tràillibh aige.

2 Agus thubhairt Eliſa ria, Ciod a ni miſe air do ſhon? innis dhomh ciod a th'agad ſan tigh? Agus thubhairt iſe, Cha 'n'eil aig do bhanoglaich ni air bith ſan tigh, ach ſoitheach olaidh.

3 An ſin thubhairt eſan, Falbh, iarr dhuit féin ſoithiche an coingheall a muigh o d' choimhearſnachaibh uile, *eadhon* ſoithiche falamh: na dean le beagan.

4 Agus an uair a théid thu a ſteach, druididh tu an dorus ort féin, agus air do mhacaibh, agus taomaidh tu anns na ſoithichibh ſin uile, agus cuiridh tu'n ſoitheach làn a leth-taobh.

5 Agus dh'fhalbh i uaith, agus dhruid i an dorus oirre féin, agus air a macaibh; *agus* thug iadſan *na ſoithiche* d'a h-ionnſuidh, agus thaom iſe a mach.

6 Agus an uair a bha na ſoithiche làn, thubhairt i r'a mac, Thoir a'm' ionnſuidh fathaſt ſoitheach. Agus thubhairt eſan ria, Cha '*n'eil* ſoitheach ann tuilleadh. Agus ſtad an oladh.

7 An ſin thàinig i agus dh'innis i *ſin* do'n duine le Dia: agus thubhairt eſan, Falbh, reic an oladh, agus dìol [a] t'fhiacha; agus thig féin agus do mhic beo air a' chuid eile.

8 Agus thachair air la *àraidh* gu'n deachaidh Eliſa thairis gu Sunam, far *an robh* bean mhòr; agus chuir i impidh air [b] aran itheadh. Agus ge b'e uair a rachadh e ſeachad, thionn-dadhadh e ſtigh an ſin a dh'itheadh arain.

9 Agus thubhairt iſe r'a fear, Feuch a nis, tha fhios agam gur duine naomha le Dia e ſo, a tha gabhail ſeachad oirnn co tric [c].

10 Deanamaid, guidheam ort, ſeòmar beag ballaidh [d], agus cuir-eamaid da an ſin leabadh, agus bord, agus cathair, agus coinnleir: agus an uair a thig e d'ar n-ionnſuidh, tionn-daidhidh e ſtigh an ſin.

11 Agus tharladh [e] air la *àraidh* gu'n d'thàinig e 'n ſin, agus thionn-daidh e ſteach do'n t-ſeòmar, agus luidh e 'n ſin.

12 Agus thubhairt e ri Gehaſi 'òglach, Gairm air a' bhan-ſunamaich ſo. Agus ghairm eſan oirre, agus ſheas i na fhianuis.

13 Agus thubhairt e ris, Abair a nis ria, Feuch, ghabh thu cùram d'ar taobh-ne leis a' chùram ſo uile; ciod *a tha* ri dheanamh air do ſhon? an àill leat labhairt air do ſhon ris an righ, no ri ceannard an t-ſlòigh? A-gus fhreagair iſe, Am meaſg mo ſhluagh féin *tha* mi a'm' chòmhnuidh.

14 Agus thubhairt eſan, Ciod ma ta *a tha* ri dheanamh air do ſhon?

[a] *pàigh.* [b] *choimh-éignich i e.* [c] *an còmhnuidh.* [d] *le balladh.* [e] *thachair.*

Agus thubhairt Gehaſi, Gu deimhin
cha *'n'eil* mac aice, agus *tha* a fear
ſean.
15 Agus thubhairt eſan, Gairm
oirre. Agus an uair a ghairm e oirre,
ſheas i anns an dorus.
16 Agus thubhairt e, Aig an àm
ſhuidhichte ſo, a réir àm na beatha,
bithidh mac agad a'd' ghlacaibh. A-
gus thubhairt iſe, Na *dean*, mo thigh-
earn, a dhuine le Dia, na dean breug
do d' bhanoglaich.
17 Agus dh'fhàs a' bhean torrach,
agus rug i mac aig an àm ſhuidhichte
ſin mu'n do labhair Eliſa ria, a réir
àm na beatha.
18 Agus dh'fhàs an leanabh ſuas:
agus thachair air là *àraidh* gu'n deach-
aidh e mach a chum 'athar, a dh'ionn-
ſuidh nam buanaichean.
19 Agus thubhairt e r'a athair, Mo
cheann, mo cheann. Agus thubhairt
eſan ri òglach, Tog leat e dh'ionnſuidh
a mhàthar.
20 Agus thog eſan leis e, agus thug
e dh'ionnſuidh a mhàthar e: agus
ſhuidh e air a glùinibh gu meadhon-là,
agus *an ſin* dh'eug e.
21 Agus chaidh i ſuas, agus chuir
i na luidhe e air leabaidh an duine le
Dia, agus dhruid i *an dorus* air, agus
chaidh i mach.
22 Agus ghairm i air a fear, agus
thubhairt i, Cuir a'm' ionnſuidh,
guidheam ort, aon do na h-òglach-
aibh, agus aon do na h-aſalaibh, a
chum as gu'n ruith mi a dh'ionnſuidh
an duine le Dia, agus gu'n dthig mi
a rìs.
23 Agus thubhairt eſan, C'ar ſon
a théid thu d'a ionnſuidh? an diugh
cha *'n'eil* gealach nomha, no sàbaid
ann. Agus thubhairt iſe, *Bithidh gach*
ni gu maith[a].
24 An ſin chuir i diollaid air aſail,
agus thubhairt i r'a h-òglach, Tarr-
uing, agus bi 'g imeachd: na cuir
moille orm a' marcachd[b], mur iarr
mi ort.
25 Agus dh'imich i, agus thàinig i
dh'ionnſuidh an duine le Dia gu ſliabh
Charmeil: agus an uair a chunnaic an
duine le Dia i fa chomhair[c], thubh-
airt e ri Gehaſi 'òglach, Feuch, *ſud* i
ſud a' Bhan-ſunamach.
26 Ruith a nis, guidheam ort, na
coinneamh, agus abair ria, Am *bheil*
thu féin gu maith? am bheil t'fhear gu
maith? am *bheil* an leanabh gu maith?
Agus fhreagair iſe, *Tha* gu maith.
27 Agus an uair a thàinig i a
dh'ionnſuidh an duine le Dia chum
an t-ſléibh, rug i air a choſaibh; ach
thàinig Gehaſi am fagus gus a cur air
falbh. Agus thubhairt an duine le
Dia, Leig dh'i, oir *tha* a h-anam air
a chràdh innte; agus cheil an Tigh-
earn ormſa *e*, agus cha d'innis e
dhomh.
28 Agus thubhairt iſe, An d'iarr
miſe mac o'm' thighearna? nach
dubhairt mi, Na meall mi?
29 An ſin thubhairt e ri Gehaſi,
Crioſlaich do leaſraidh, agus glac mo
bhata-ſa[d] ann do làimh, agus bi 'g
imeachd: ma thachaireas tu air duine
ſam bith, na beannaich dha; agus
ma bheannaicheas duine ſam bith
dhuit, na freagair e a rìs: agus cuir
mo bhatadh air aghaidh an leinibh.
30 Agus thubhairt màthair an
leinibh, *Mar* is beo an Tighearna, a-
gus *mar* is beo t'anamſa, cha 'n fhàg
mi thu. Agus dh'éirich e, agus lean e i.
31 Agus chaidh Gehaſi air aghaidh
rompa, agus chuir e 'm batadh air
aghaidh an leinibh, ach cha *robh* cainnt
no clàiſteachd *aige*: uime ſin phill e
na choinneamh, agus dh'innis e dha,
ag ràdh, Cha 'n'eil an leanabh air
dùſgadh.
32 Agus an uair a thàinig Eliſa a
ſteach do'n tigh, feuch, bha'n leanabh
marbh, *agus* na luidhe air a leabaidh-
ſan.
33 Uime ſin chaidh e ſtigh, agus
dhùin e 'n dorus orra nan dithis, agus
rinn e urnuigh ris an Tighearna.
34 Agus chaidh e ſuas agus luidh e
air an leanabh, agus chuir e a bheul
air a bheul, agus a ſhùilean air a
ſhùilibh, agus a làmhan air a làmhaibh,
agus ſhìn ſe e féin sìos air, agus
dh'fhàs feoil an leinibh blàth.
35 Agus a rìs, dh'imich e[e] anns
an tigh a null agus a nall[f], agus
chaidh

[a] *Sìth.* Eabh. [b] *na dean air mo ſhon-ſa moille ann am marcachd.*
[c] *fad uaith.* [d] *mo lorg-ſa.* [e] *Agus phill e, agus dh'imich e.* Eabh.
[f] *aon uair an ſo agus aon uair an ſud.* Eabh.

chaidh e suas, agus shìn se e féin sìos air; agus rinn an leanabh sreothartaich seachd uairean, agus dh'fhosgail an leanabh a shùilean.

36 Agus ghairm e air Gehasi, agus thubhairt e, Gairm air a' Bhan-sunamaich so. Agus ghairm esan oirre; agus an uair a thàinig i stigh d'a ionnsuidh, thubhairt esan, Tog leat do mhac.

37 Agus thàinig i agus thuit i aig a chosaibh, agus chrom si i féin sìos gu làr, agus thog i leatha a mac, agus chaidh i mach.

38 Agus phill Elisa gu Gilgal, agus *bha* gorta san tìr, agus *bha* mic nam fàidh nan suidhe fa chomhair: agus thubhairt e r'a òglach, Cuir air a' phoit mhòr, agus bruich brochan do mhacaibh nam fàidh.

39 Agus chaidh aon a mach do'n achadh a thional luibhean, agus fhuair e fionain [a] fhiadhaich, agus thionail e dhith dearcan [b] fiadhaich, làn 'fhalluinge, agus thàinig e agus ghearr e sìos iad anns a' phoit bhrochain; oir cha b'aithne dhoibh iad.

40 Agus thaom iad a mach do na daoinibh gu itheadh; agus an uair a bha iad ag itheadh do'n bhrochan, ghlaodh iad, agus thubhairt iad, Bàs anns a' phoit, a dhuine le Dia. Agus cha b'urrainn iad itheadh *dheth*.

41 Agus thubhairt esan, Thugaibh ma ta min *a'm' ionnsuidh*. Agus thilg e anns a' phoit *i*, agus thubhairt e, Taom a mach air son an t-sluaigh, a chum as gu'n ith iad: agus cha robh ni air bith olc anns a' phoit.

42 Agus thàinig duine o Bhaal-salisa, agus thug e dh'ionnsuidh an duine le Dia aran do'n cheud toradh, fichead builionn eorna, agus làn dhiasan arbhair nan caithleach [c]; agus thubhairt e, Thoir do'n t sluagh, a chum as gu'n ith iad.

43 Agus thubhairt 'fhear-fritheal-aidh [d] ris, C'ar son a chuirinn so an làthair cheud fear? Agus thubhairt esan *a rìs*, Thoir do'n t-sluagh, a chum as gu'n ith iad: oir mar so tha'n Tighearn ag ràdh, Ithidh *iad*, agus bithidh fuigheall ann.

44 Uime sin chuir e nan làthair e, agus dh'ith iad, agus bha fuigheall aca, a réir focail an Tighearna.

C A I B. V.

A NIS bha Naaman ceannard slòigh righ Shiria na dhuine mòr aig a thighearna, agus urramach; a chionn leis-san [e] gu'n d'thug an Tighearna saorsadh do Shiria: bha e mar an ceudna treun ann an neart, *ach bu* lobhar *e*.

2 Agus chaidh na Sirianaich a mach nam buidhnibh, agus thug iad leo am braighdeanas a tìr Israeil caileag bheag; agus bha i a' feitheamh air mnaoi Naamain.

3 Agus thubhairt i r'a ban-mhaighstir, B'fhearr leam gu'm biodh mo thighearna maille ris an fhàidh a *tha* ann an Samaria; an sin leighiseadh *e* o 'luibhre *e*.

4 Agus chaidh esan [f] a stigh, agus dh'innis e d'a thighearna, ag ràdh, Mar so agus mar so thubhairt a' chaileag a *tha* o thìr Israeil.

5 Agus thubhairt righ Shiria, Imich romhad, agus cuiridh mise litir a dh'ionnsuidh righ Israeil. Agus dh'imich e, agus thug e leis [g] deich tàlannan airgid, agus sè mìle *bonn* òir, agus deich culaidhean eudaich.

6 Agus thug e 'n litir a dh'ionnsuidh righ Israeil, ag ràdh, A nis an uair a thig an litir so a't' ionnsuidh, feuch, chuir mi a't' ionnsuidh *leatha* Naaman mo sheirbhiseach, a chum as gu'n leighis thu e o 'luibhre [h].

7 Agus an uair a leugh righ Israeil an litir, reub e 'eudach, agus thubhairt e, An Dia mise, a mharbhadh agus a dheanamh beo, gu'n cuireadh am *fear* so *fios* a'm' ionnsuidh duine a leigheas o 'luibhre? uime sin thugaibh fa'near, guidheam oirbh, agus faicibh cionnus a tha e 'g iarraidh aobhair a'm' aghaidh [i].

8 Agus an uair a chual Elisa an duine le Dia gu'n do reub righ Israeil 'eudach,

a *fineambain, crann-fiona.* b *meallain chruinne; gourds.* Sasg.
c *nan caithleanaibh, nan cogall; na mhàla.* d *a sheirbhiseach.*
e *le a làimh-san.* f i. e. Naaman. g *na làimh.* Eabh. h *o a luibhre.*
i *ag iarraidh aobhair* cur a mach *orm*.

eudach, chuir e *fios* a dh'ionnsuidh an righ, ag ràdh, C'ar son a reub thu t'eudach? thigeadh e nis a'm' ionnsuidhsa, agus bithidh fios aige gu bheil fàidh ann an Israel.

9 Agus thàinig Naaman le 'eachaibh agus le 'charbad, agus sheas e aig dorus tighe Elisa.

10 Agus chuir Elisa teachdaire d'a ionnsuidh, ag ràdh, Imich, agus nigh thu féin seachd uairean ann an Iordan, agus thig t'fheoil a rìs a t' ionnsuidh, agus bithidh tu glan.

11 Ach bha fearg air Naaman, agus dh'fhalbh e roimhe, agus thubhairt e, Feuch, shaoil mi[a], gu cinnteach gu'n dthigeadh e mach a'm' ionnsuidh, agus gu'n seasadh e, agus gu'n gairmeadh e air ainm an Tighearn a Dhe, agus gu'n cuireadh e a làmh air an àit, agus gu'n leighiseadh e an lobhar.

12 Nach 'eil Abana agus Pharpar, aibhnichean Dhamascuis, ni's fearr na uile uisgeacha Israeil? nach feud mi mi féin a nigheadh annta-san, agus a bhi glan? Agus thionndaidh e, agus dh'fhalbh e roimhe ann an corruich.

13 Agus thàinig a sheirbhisich am fagus, agus labhair iad ris, agus thubhairt iad, O athair, *nam* biodh am fàidh air iarraidh ort ni mòr a dheanamh, nach deanadh tu *e*? nach ro-mhò na sin ma ta, 'nuair a tha e 'g ràdh riut, Nigh agus bi glan?

14 An sin chaidh e sìos, agus thum se e féin ann an Iordan seachd uairean, a réir focail an duine le Dia; agus thàinig 'fheoil a rìs mar fheoil leinibh bhig, agus glanadh e.

15 Agus phill e a dh'ionnsuidh an duine le Dia, e féin agus a chuideachd uile, agus thàinig e, agus sheas e na làthair, agus thubhairt e, Feuch, a nis tha fios agam nach 'eil Dia anns an talamh uile ach ann an Israel: a nis ma ta, guidheam ort, gabh tiodhlacadh[b] o d' sheirbhiseach.

16 Ach thubhairt esan, *Mar* is beo an Tighearna, an làthair am bheil mi a'm' sheasamh, cha ghabh mi *e*. Agus chuir e impidh air *a* ghabhail, ach dhiùlt esan *e*.

17 Agus thubhairt Naaman, Nach dthoirear ma ta, guidheam ort, do d' sheirbhiseach eire[c] dhà mhuileid do thalamh[d]? oir cha dthoir do sheirbhiseach suas a so a mach tabhartas-loisgte, no ìobairt do dhéibh air bith eile, ach do'n Tighearna.

18 Anns an ni so gu'n dthugadh an Tighearna maitheanas do d' sheirbhiseach, an uair a théid mo thighearn a steach do thigh Rimoin a dheanamh aoraidh[e] an sin, agus a leigeas e a thaic[f] air mo làimh-sa, agus a chromas mise mi féin sìos ann an tigh Rimoin: an uair a chromas mise mi féin sìos ann an tigh Rimoin, gu'n dthugadh an Tighearna maitheanas do d' sheirbhiseach anns an ni so.

19 Agus thubhairt esan ris, Imich ann an sìth. Agus dh'imich e uaith beagan astair.

20 Ach thubhairt Gehasi òglach Elisa an duine le Dia, Feuch, chaomhain mo mhaighstir Naaman an Sirianach so, a thaobh nach do ghabh *e* as a làimh *an ni* sin a thug e leis: ach *mar* is beo an Tighearna, ruithidh mise na dhéigh, agus gabhaidh mi ni éigin uaith.

21 Agus lean Gehasi Naaman: agus an uair a chunnaic Naaman *e* a' ruith na dhéigh, leum e nuas as a charbad na choinneamh, agus thubhairt e, Am *bheil* gach ni gu maith?

22 Agus thubhairt esan, *Tha gach ni* gu maith: chuir mo mhaighstir uaith mi, ag ràdh, Feuch, a nis thàinig a'm' ionnsuidh dà òganach o shliabh Ephraim do mhacaibh nam fàidh: thoir dhoibh, guidheam ort, tàlann airgid, agus dà chulaidh eudaich.

23 Agus thubhairt Naaman, *Ma's* toil leat, gabh dà thàlann. Agus choimh-éignich se e agus cheangail e dà thàlann airgid ann an dà mhàla, agus dà chulaidh eudaich, agus chuir e iad air dithis d'a òglachaibh, agus ghiùlain iadsan roimhe *iad*.

24 Agus an uair a thàinig e do'n dùn[g], ghabh e as an làimh *iad*: agus thaisg e anns an tigh *iad*: agus leig e

[a] *thubhairt mi.* Eabh. [b] *beannachadh.* Eabh. [c] *eallach, luchd, sa.* [d] *ùir.* [e] *a shleuchdadh.* [f] *a chudthrom.* [g] *tùr, àit ard; ophel.* Eabh.

na daoine air falbh, agus dh'fhalbh iad.

25 Agus chaidh esan a steach, agus sheas e an làthair a mhàighstir, agus thubhairt Elisa ris, Cia as a thàinig *thusa*, a Ghehasi? Agus thubhairt esan, Cha deachaidh do sheirbhiseach taobh air bith.

26 Agus thubhairt esan ris, Nach deachaidh mo chridhe-sa *maille riut*, an uair a phill an duine o 'charbad a'd' choinneamh? an àm so a ghabhail airgid, agus a ghabhail eudaich, agus liosan-olaidh, agus fhìonliosan, agus chaorach, agus buair [a], agus òglach, agus bhan-oglach?

27 Uime sin dlùth-leanaidh luibhre Naamain riutsa, agus ri d' shliochd gu bràth. Agus chaidh e mach a 'fhianuis, na lobhar, *geal* mar shneachda.

C A I B. VI.

AGUS thubhairt mic nam fàidh ri Elisa, Feuch a nis, *tha*'n t-àit anns am bheil sinn a chòmhnuidh maille riut ro-chumhaing air ar son.

2 Leig dhuinn dol, guidheamaid ort, gu Iordan, agus bheir gach fear againn sail as sin, agus ni sinn dhuinn féin an sin àite gu còmhnuidh a ghabhail ann. Agus fhreagair esan, Rachaibh.

3 Agus thubhairt aon *diubh*, Ma's i do thoil a nis, falbh féin maille ri d' sheirbhisich. Agus fhreagair esan, Théid mi.

4 Agus chaidh e maille riu: agus an uair a thàinig iad gu Iordan, ghearr iad sios fiodh.

5 Ach an uair a bha aon *diubh* a' leagadh sailthe, thuit iarunn *na tuaighe* anns an uisge: agus dh'éigh e agus thubhairt e, Mo thruaigh, a mhaighstir, agus *gur* ann an coingheall *a bha* e.

6 Agus thubhairt an duine le Dia, C'àit an do thuit e? Agus dh'fheuch esan da an t-àit. Agus ghearr e sios maide, agus thilg e 'n sin *e*, agus thug e air an iarunn snàmh.

7 Agus thubhairt e, Tog leat *e*. Agus shìn esan a mach a làmh, agus ghabh se e.

8 Agus bha righ Shiria a' cogadh
ri h-Israel; agus chuir e a chomhairle
r'a sheirbhisich, ag ràdh, Ann an
leithid so dh'àite *bithidh* mo champ.

9 Agus chuir an duine le Dia *fios* a
dh'ionnsuidh righ Israeil, ag ràdh,
Feuch nach dthéid thu thairis a
dh'ionnsuidh [b] a leithid so dh'àite; oir
an sin tha na Sirianaich air teachd a
nuas.

10 Agus chuir righ Israeil *daoine* a
dh'ionnsuidh an àite mu'n d'innis an
duine le Dia dha, agus mu'n d'thug e
rabhadh dha, agus dhìon se e féin an
sin, cha b'ann aon uair no dà uair.

11 Agus bha cridhe righ Shiria fa
bhuaireas mòr air son an ni so, agus
ghairm e air a sheirbhisich, agus
thubhairt e riu, Nach innis sibh
dhomh cò nar measg-ne *tha* le righ
Israeil?

12 Agus thubhairt aon d'a sheirbh-
isich, Cha '*n'eil neach air bith*, a thigh-
earn, a righ: ach Elisa am fàidh, a
tha ann an Israel, innsidh *esan* do righ
Israeil na briathran a labhras tu ann do
sheòmar-leapach.

13 Agus thubhairt esan, Rachaibh
agus seallaibh c'àit *am bheil* e, a chum
as gu'n cuir mi *daoine* uam, agus gu'n
glac mi e [c]. Agus dh'innseadh dha,
ag ràdh, Feuch, *tha* e ann an Dotan.

14 Uime sin chuir e eich an sin, a-
gus carbaid, agus sluagh mòr: agus
thàinig iad san oidhche, agus chuairt-
ich iad am baile.

15 Agus dh'éirich seirbhiseach an
duine le Dia gu moch sa mhaduinn, a-
gus chaidh e mach (agus feuch, *bha*
armailt a' cuairteachadh a' bhaile,
maille ri eachaibh agus ri carbadaibh;
agus thubhairt 'òglach ris, Mo
thruaigh, a mhaighistir, cionnus a ni
sinn?

16 Agus fhreagair esan, Na biodh
eagal ort; oir *is* lionmhoire *iad* a *tha*
leinne na *iadsan* a *tha* leo san.

17 Agus rinn Elisa urnuigh, agus
thubhairt e, A Thighearna, fosgail,
guidheam ort, a shùilean, a chum as
gu'm faic e. Agus dh'fhosgail an
Tighearna sùilean an òganaich, agus
chunnaic e; agus feuch, *bha*'n sliabh
làn do eachaibh, agus do charbadaibh
teine mu'n cuairt air Elisa.

[a] *cruidh.* [b] *seachad air.* [c] *gu'n dtboir mi 'n so e.*

18 Agus an uair a thàinig iad a nuas d'a ionnsuidh, rinn Elisa urnuigh ris an Tighearna, agus thubhairt e, Buail, guidheam ort, an sluagh so le doille. Agus bhuail e iad le doille, a réir focail Elisa.

19 Agus thubhairt Elisa riu, Cha 'n i so an t-slighe, agus cha 'n e so am baile; leanaibh mise, agus bheir mi sibh a dh'ionnsuidh an duine a tha sibh ag iarraidh. Ach thug e iad gu Samaria.

20 Agus an uair a thàinig iad a steach do Shamaria, thubhairt Elisa, A Thighearna, fosgail sùilean nan daoine so, chum as gu'm faic iad. Agus dh'fhosgail an Tighearn an sùilean, agus chunnaic iad, agus feuch, *bha iad* am meadhon Shamaria.

21 Agus thubhairt righ Israeil ri Elisa 'n uair a chunnaic e iad, Am buail, am buail mi *iad* [a], athair?

22 Agus fhreagair esan, Cha bhuail thu *iad:* am buaileadh tu iad-san a ghlac thu nam braighdibh le d' chlaidheamh, agus le d' bhogha [b]? cuir aran agus uisge fa'n comhair, a chum gu'n ith agus gu'n òl iad, agus gun dtheid iad a dh'ionnsuidh an tighearna féin.

23 Agus rinn e deasachadh mòr air an son: agus an uair a dh'ith agus a dh'òl iad, leig e air falbh iad, agus chaidh iad a dh'ionnsuidh an tighearna. Agus cha d'tháinig buidhne Shiria ni's mò do thìr Israeil.

24 Agus na dhéigh so chruinnich Ben-hadad righ Shiria 'armailt uile, agus chaidh e suas agus theannaich e Samaria.

25 Agus bha gorta mhòr ann an Samaria; agus feuch, theannaich iad e, gus an robh ceann asail *air a reiceadh* air cheithir fichead *bonn* airgid, agus an ceathramh cuid do chab do aolach choluman [c] air chùig *bonnaibh* airgid.

26 Agus an uair a bha righ Israeil a' gabhail seachad air a' bhalladh, ghlaodh bean ris, ag ràdh, Dean cabhair orm, mo thighearn a righ.

27 Agus thubhairt esan, Mur dean an Tighearna cabhair ort, cionnus a ni mise cabhair ort? an ann as urlar an t-sabhail, no as an fhìon-amar?

28 Agus thubhairt an righ ria, Ciod *a tha teachd* riut? Agus fhreagair ise, Thubhairt a' bhean so rium, Thoir seachad do mhac-sa, chum as gu'n ith sinn an diugh e, agus mo mhac-sa ithidh sinn am màireach.

29 Agus bhruich sinn mo mhac sa, agus dh'ith sinn e: agus thubhairt mise ria-sa air an ath là, Thoir seachad do mhac sa, chum as gu'n ith sinn e: ach dh'fholaich ise a mac.

30 Agus an uair a chual an righ briathra na mnà, reub e 'eudach, agus ghabh e seachad air a' bhalladh, agus dh'amhairc an sluagh, agus feuch, *bha* saic-eudach air 'fheoil air an taobh a stigh.

31 An sin thubhairt e, Gu'n deanadh Dia mar sin riumsa, agus tuilleadh mar an ceudna, ma sheasas ceann Elisa mhic Shaphait air an diugh.

32 Ach *bha* Elisa na shuidhe na thigh, agus na seanairean nan suidhe maille ris: agus chuir an righ duine uaith as a làthaireachd féin [d]: ach mu'n d'thàinig an teachdaire d'a ionnsuidh, thubhairt e ris na seanairibh, Am faic sibhse mar a chuir mac so a' mhortair duine a thoirt mo chinn diomsa? thugaibh an aire [e] 'n uair a thig an teachdaire, druidibh an dorus, agus cumaibh gu daingean e aig an dorus: nach *'eil* fuaim chos a thighearna na dhéigh?

33 An uair a bha e fathast a' labhairt riu, feuch, thàinig an teachdaire nuas d'a ionnsuidh: agus thubhairt e, Feuch, tha'n t-olc so o'n Tighearna; c'ar son a dh'fheithinnse air an Tighearna ni's faide?

C A I B. VII.

AN SIN thubhairt Elisa, Eisdibh ri focal an Tighearna: Mar so tha'n Tighearn ag ràdh, *Mu'n tràth so am màireach* *reicear* tomhas do

mhin

[a] *Le bualadh am buail mi* iad. Eabh. [b] *An ann a chionn gu'n do ghlac thu iad le d' chlaidheamh, agus le d' bhogha, a mharbhadh tu iad?* [c] *da ghall-pheasair.* [d] *dhiubh-san a bha feitheamh air.* [e] *sealla:bh.*

mhin mhìn air ſhecel, agus dà thomh-
as eorna air ſhecel, ann an geatadh
Shamaria.
2 Agus ſhreagair ceannard [a], a leig
an righ a thaic air a làimh, an duine
le Dia, agus thubhairt e, Feuch, *ge do*
dheanadh an Tighearna tuil-dhorſan [b]
anns na nèamhaibh, am feudadh an
ni ſo bhi? agus thubhairt eſan, Feuch,
chi thuſa le d' ſhùilibh *e*, ach cha'n
ith thu dheth.
3 Agus bha ceathrar do dhaoinibh
air an robh an luibhre aig dol a ſteach
a' gheataidh; agus thubhairt iad gach
fear r'a chéile, C'ar ſon a dh'fhanas
ſinn an ſo gus am bàſaich ſinn?
4 Ma their ſinn, Rachamaid a ſteach
do'n bhaile, *tha* a' ghortadh anns a'
bhaile, agus bàſaichidh ſinn an ſin: a-
gus ma dh'fhanas ſinn an ſo, bàſaichidh
ſinn mar an ceudna. A nis ma ta
thigibh, agus teicheamaid gu camp [c]
nan Sirianach: ma chaomhnas iad beo
ſinn, bithidh ſinn beo; ach ma
mharbhas iad ſinn, cha 'n fhaigh ſinn
ach am bàs.
5 Agus dh'éirich iad anns an dù-
thra [d] gu dol a dh'ionnſuidh caimp [e]
nan Sirianach: agus an uair a thàinig
iad gus a' chuid a b'fhaide mach do
champ nan Sirianach, feuch, cha *robh*
duin' *air bith* an ſin:
6 Oir thug an Tighearn air feachd
nan Sirianach fuaim charbad a chluinn-
tinn, agus fuaim each, *eadhon* fuaim
ſloigh mhòir: agus thubhairt iad gach
fear r'a chéile, Feuch, thuaraſdalaich
righ Iſraeil nar n-aghaidh righre nan
Hiteach, agus righre nan Eiphiteach,
gu teachd oirnn.
7 Uime ſin dh'éirich iad, agus
theich iad anns an dùthra, agus
dh'fhàg iad am bùthan, agus an eich,
agus an aſail, *eadhon* an camp mar *a*
bhà e, agus theich iad air ſon an
anma.
8 Agus an uair a thàinig na lobhair
ſin gus a' chuid a b'fhaide mach do'n
champ, chaidh iad a ſteach do aon
bhùth, agus dh'ith iad, agus dh'òl
iad, agus thug iad leo as ſin airgiod,
agus òr, agus eudach, agus chaidh iad
agus dh'fholaich ſiad *iad*: agus thàinig
iad air an ais, agus chaidh iad a ſteach
do bhùth eile, agus thug iad leo as ſin
mar an ceudna, agus chaidh iad agus
dh'fholaich ſiad *iad*.
9 Agus thubhairt iad gach fear r'a
chéile, Cha '*n'eil* ſinn a' deanamh gu
ceart: *is* là deagh ſgéil an là ſo, agus
tha ſinne nar toſd: ma dh'fhanas ſinn
gu ſolus na maidne, thig olc éigin
oirnn: a nis ma ta thigibh, agus rach-
amaid agus innſeamaid do theaghlach
an righ.
10 Agus thàinig iad agus ghlaodh
iad ri dorſairibh [f] a' bhaile, agus
dh'innis iad dhoibh, ag ràdh, Chaidh
ſinne gu camp nan Sirianach, agus
feuch, cha *robh* duine air bith an ſin,
no guth duine, ach eich ceangailte, a-
gus aſail ceangailte, agus na bùtha
mar *a bha* iad.
11 Agus ghlaodh na dorſairean [g]
agus dh'innis iadſan do theaghlach an
righ a ſtigh.
12 Agus dh'éirich an righ anns an
oidhche, agus thubhairt e r'a ſheirbh-
iſich, Innſidh mi dhuibh a nis ciod a
rinn na Sirianaich oirnn: tha fios aca
gu *bheil* ſinne ocrach, agus chaidh iad
a mach as a' champ gu'm folach féin
anns a' mhachair, ag ràdh, An uair a
thig iad a mach as a' bhaile, glacaidh
ſinn beo iad, agus théid ſinn a ſteach
do'n bhaile.
13 Agus ſhreagair aon d'a ſheirbh-
iſich, agus thubhairt e, Gabhar a nis
cùig do na h-eachaibh a tha air am-
fàgail, a dh'fhan anns *a' bhaile*, (feuch,
tha iad mar uile ſhluagh Iſraeil [h] d'an
do chuireadh as) agus cuireamaid
teachdairean uainn agus faiceamaid.
14 Ghabhadh uime ſin dà each
carbaid [i], agus chuir an righ *teachd-*
airean an déigh feachd nan Sirianach,
ag ràdh, Rachaibh agus faicibh.
15 Agus chaidh iad nan déigh gu
ruig Iordan, agus feuch, bha'n t-ſlighe
uile làn do eudach, agus do ſhoith-
ichibh,

[a] *mòir-fhear, duine ſan treas àite fuidh 'n righ.* [b] *uinneagan.* [c] *feachd.* [d] *an-moch, duibhre.* [e] *campa.* [f] *dorſair.* [g] *ghlaodh e ris na dorſairibh.* [h] *mar uile ſhluagh Iſraeil a dh'fhàgadh ann; feuch,* tha mi 'g ràdh, *tha iad mar uile ſhluagh Iſraeil.* [i] *da charbad le'n eachaibh.*

ſchibh, a thilg na Sirianaich uatha nan
cabhaig: agus phill na teachdairean,
agus dh'innis iad do'n righ.
16 Agus chaidh an ſluagh a mach,
agus chreach iad camp[a] nan Sirianach:
agus reiceadh tomhas do mhin mhìn
air ſhecel, agus dà thomhas eorna air
ſhecel, a réir focail an Tighearna.
17 Agus chuir an righ cùram a'
gheataidh air a' cheannard, a leig e a
thaic air a làimh: agus ſhaltair an
ſluagh air anns a' gheatadh, agus
dh'eug e; mar a thubhairt an duine
le Dia, a labhair an uair a thàinig an
righ a nuas d'a ionnſuidh.
18 Agus thachair e, mar a labhair
an duine le Dia ris an righ, ag ràdh,
Bithidh dà thomhas eorna air ſhecel,
agus tomhas do mhin mhìn air
ſhecel, mu'n tràth ſo am màireach
ann an geatadh Shamaria:
19 Agus fhreagair an ceannard ſin
an duine le Dia, agus thubhairt e,
Feuch a nis, *ge do* dheanadh an Tigh-
earna tuil-dhorſan anns na nèamhaibh,
am feudadh a' leithid ſo do ni a bhi?
agus thubhairt eſan, Feuch, chì thu le
d' ſhùilibh e, ach cha'n ith thu dheth.
20 Eadhon mar ſin thachair e dha:
oir ſhaltair an ſluagh air anns a'
gheatadh, agus dh'eug e.

C A I B. VIII.

AN SIN labhair Eliſa ris a' mhnaoi,
d'an d'ath-bheothaich e a mac,
ag ràdh, Eirich, agus imich thuſa a-
gus do theaghlach, agus falbh air
chuairt ge b'e àit am feud thu bhi air
chuairt: oir ghairm an Tighearn air
gorta, agus mar an ceudna thig i air
an tìr rè ſheachd bliadhna.
2 Agus dh'éirich a' bhean, agus
rinn i a réir focail an duine le Dia:
agus dh'fhalbh i féin agus a teaghlach,
agus bha i air chuairt ann an tìr nam
Philiſteach rè ſheachd bliadhna.
3 Agus aig ceann nan ſeachd
bliadhna, phill a' bhean a tìr nam
Philiſteach: agus chaidh i mach a
ghairm air an righ air ſon a tighe, a-
gus air ſon a fearainn.
4 Agus labhair an righ ri Gehaſi
òglach an duine le Dia, ag ràdh,
Innis dhomh, guidheam ort, na nithe
mòra uile a rinn Eliſa.
5 Agus an uair a bha e ag innſeadh
do'n righ mar a dh'ath-bheothaich e
neach a bha mharbh, feuch, ghlaodh
a' bhean d'an d'ath-bheothaich e a
mac, ris an righ air ſon a tighe, a-
gus air ſon a fearainn. Agus thubh-
airt Gehaſi, Mo thighearn, a righ,
ſo a' bhean, agus ſo a mac, a dh'ath-
bheothaich Eliſa.
6 Agus an uair a dh'fheòraich an
righ do'n mhnaoi, dh'innis i dha.
Agus dh'orduich an righ dh'i maor
àraidh, ag ràdh, Thoir air ais gach *ni*
bu leatha, agus uile thoradh an fhear-
ainn, o'n là a dh'fhàg i an tìr, eadhon
gus a nis.
7 Agus thàinig Eliſa gu Damaſcus,
agus *bha* Ben-hadad righ Shiria tinn,
agus dh'innſeadh dha, ag ràdh,
Thàinig an duine le Dia an ſo.
8 Agus thubhairt an righ ri Haſael,
Gabh ann ad làimh tiodhlacadh, agus
falbh an coinneamh an duine le Dia,
agus fiosraich do'n Tighearna leis, ag
ràdh, An dthig mi beo o'n tinneas ſo?
9 Agus dh'fhalbh Haſael na choinn-
eamh, agus ghabh e tiodhlacadh na
làimh, eadhon *do* gach ni maith *a bha* 'n
Damaſcus, eire[b] dhà fhichead càm-
hal: agus thàinig e, agus ſheas e
na làthair, agus thubhairt e, Chuir do
mhac Ben-hadad, righ Shiria, miſe
a t'ionnſuidh, ag ràdh, An dthig mi
beo o'n tinneas ſo?
10 Agus thubhairt Eliſa ris, Falbh,
abair ris, Feudaidh tu gun teagamh
teachd uaith: gidheadh, nochd an
Tighearna dhomhſa gu'm faigh e gu
cinnteach bàs.
11 Agus ſhocraich e a ghnùis gu
ſeaſmhach, gus an robh nàire air: a-
gus ghuil an duine le Dia.
12 Agus thubhairt Haſael, C'ar
ſon *a tha* mo thighearn a' gul? Agus
fhreagair eſan, A chionn gu bheil
fios agam air an olc a ni thuſa do
chloinn Iſraeil: an daingneacha làidir
cuiridh tu ri theine, agus an daoine
òga marbhaidh tu leis a' chlaidheamh,
agus an clann bheag bruthaidh tu[c], a-
gus am mnathan torrcha reubaidh tu
ſuas.
13 Agus thubhairt Haſael, Ach
ciod, an cù do ſheirbhiſeach, gu'n
deanadh e an ni mòr ſo? Agus fhreag-
air

[a] *bùthan.* [b] *eallach, luchd.* [c] *buailidh tu ris* an làr.

air Elisa, Nochd an Tighearna
dhomhsa *gu'm bi* thu a'd' righ air
Siria.
14 Agus dh'fhalbh e o Elisa, agus
thàinig e dh'ionnsuidh a thighearna, a
thubhairt ris, Ciod a thubhairt Elisa
riut? Agus fhreagair esan, Dh'innis e
dhomh *gu'n* dthig thu gu cinnteach
o'n tinneas so.
15 Agus air an là màireach ghabh
e eudach tiugh, agus thum e ann an
uisge *e*, agus sgaoil e air 'aghaidh e,
air chor as gu'n d'fhuair e bàs: agus
rìoghaich Hasael na àit.
16 Agus anns a' chùigeadh bliadh-
na do Ioram mac Ahaib, righ Israeil [a],
thòisich Iehoram, mac Iehosaphait righ
Iudah, air rìoghachadh.
17 Dà bhliadhna dheug thar
fhichead a dh'aois bha e 'nuair a
thòisich e air rìoghachadh, agus
rìoghaich e ochd bliadhna ann an Ie-
rusalem.
18 Agus ghluais e ann an slighe
righrean Israeil, mar a rinn tigh
Ahaib; oir bha nighean Ahaib na
mnaoi aige: agus rinn e olc ann an
sùilibh an Tighearna.
19 Gidheadh cha b'àill leis an
Tighearn Iudah a sgrios, air sgàth
Dhaibhidh 'òglaich, mar a gheall e
dha solus [b] a thabhairt da féin agus
d'a mhacaibh an còmhnuidh.
20 Na laithibh-san dh'éirich Edom [c]
o *bhi* fuidh làimh Iudah, agus rinn iad
righ os an cionn féin.
21 Agus chaidh Ioram thairis gu
Sair, agus na carbadan uile maille ris;
agus dh'éirich e san oidhche, agus
bhuail e na h-Edomaich a bha mu'n
cuairt air, agus ceannarda nan carbad:
agus theich an sluagh d'am bùthaibh.
22 Gidheadh dh'éirich Edom o *bhi*
fuidh làimh Iudah gus an la'n diugh:
agus dh'éirich Libnah san àm cheud-
na.
23 Agus a' chuid eile do ghnìomh-
araibh Ioraim, agus gach *ni* a rinn *e*,
nach 'eil iad scrìobhta ann an leabhar
eachdraidh righrean Iudah?
24 Agus choidil Ioram maille r'a
aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh e
maille r'a aithrichibh ann am baile
Dhaibhidh: agus rìoghaich Ahasiah
a mhac na àit.
25 Anns an dara bliadhna deug
do Ioram mac Ahaib, righ Israeil,
thòisich Ahasiah mac Iehoraim, righ
Iudah, air rìoghachadh.
26 Dà bhliadhna thar fhichead a
dh'aois *bha* Ahasiah an uair a thòisich e
air rìoghachadh, agus rìoghaich e aon
bhliadhna ann an Ierusalem: agus *b'e*
ainm a mhàthar Ataliah, nighean
Omri [d] righ Israeil.
27 Agus ghluais e ann an slighe
tighe Ahaib, agus rinn e olc ann an
sùilibh an Tighearna, mar *a rinn* tigh
Ahaib: oir *bu* chliamhuin do thigh
Ahaib e.
28 Agus chaidh e maille ri Ioram
mac Ahaib, gu cogadh an aghaidh
Hasaeil righ Shiria ann an Ramot-
gilead, agus lot na Sirianaich Ioram.
29 Agus chaidh righ Ioram air ais
gu bhi air a leigheas ann an Iesreel o
na lotaibh a thug na Siriamaich dha
ann an Ramot, an uair a chog e an
aghaidh Hasaeil righ Shiria: agus
chaidh Ahasiah mac Iehoraim, righ
Iudah, sìos a dh'fhaicinn Ioraim mhic
Ahaib ann an Iesreel, a chionn gu'n
robh e tinn.

C A I B. IX.

AGUS ghairm Elisa am fàidh air
aon do mhacaibh nam fàidh,
agus thubhairt e ris, Crioslaich do
leasraidh, agus gabh an corn olaidh so
ann do làimh, agus imich gu Ramot-
gilead.
2 Agus an uair a thig thu 'n sin,
seallaidh tu an sin air son Iehu mhic
Iehosaphait, mhic Nimsi; agus théid
thu a stigh, agus bheir thu air éirigh
suas o mheasg a bhràithre, agus bheir
thu e do sheòmar-cùil:
3 Agus gabhaidh tu an corn olaidh,
agus taomaidh tu air a cheann *e*, agus
their thu, Mar so tha'n Tighearn ag
ràdh, Dh'ung mi thu a'd' righ air Is-
rael; an sin fosgailidh tu an dorus, a-
gus teichidh tu, agus cha 'n fhan thu.
4 Agus

[a] *righ Israel, 'nuair a bha Iehosaphat na righ air Iudah.* [b] *lochran.* [c] *rinn Edom ar' a mach.* [d] *nighean* Ahaib, mhic *Omri.* Faic I. Righ. c. XVI. r. 28.

4 Agus dh'imich an t'òganach [a]
am fàidh, gu Ramot-gilead.
5 Agus an uair a thàinig e, feuch,
bha ceannardan an t-ſlòigh nan ſuidhe,
agus thubhairt e, Tha ni agam ri
ràdh riut [b], a cheannaird. Agus
thubhairt Iehu, Cia ris dhinn uile?
Agus thubhairt eſan, Riut-ſa, a chean-
naird.
6 Agus dh'éirich e, agus chaidh e
ſteach do'n tigh, agus thaom e an
oladh air a cheann, agus thubhairt e
ris, Mar ſo tha'n Tighearna Dia Iſ-
raeil ag ràdh, Dh'ung mi thuſa a'd'
righ air ſluagh an Tighearna, *eadhon*
air Iſrael.
7 Agus buailidh tu tigh Ahaib do
thighearna, agus dìolaidh miſe fuil
mo ſheirbhiſeacha nam fàidh, a-
gus fuil uile ſheirbhiſeacha an Tigh-
earna, air làimh Ieſebeil.
8 Agus ſgrioſar tigh Ahaib uile, a-
gus gearraidh mi as o Ahab eſan a ni
uiſge ri balladh, agus eſan a dhruidear
ſuas agus a dh'fhàgar ann an Iſrael.
9 Agus ni mi tigh Ahaib mar thigh
Ieroboaim mhic Nebait, agus mar
thigh Bhaaſa mhic Ahiah.
10 Agus ithidh na madraidh
Ieſebel ann an cuibhrionn Ieſreeil, a-
gus cha *bhi neach air bith ann* a
dh'adhlaiceas *i*. Agus dh'fhoſgail e
'n dorus, agus theich e.
11 An ſin thàinig Iehu a mach a
dh'ionnſuidh ſheirbhiſeacha a Thigh-
earna, agus thubhairt iad [c] ris, Am
bheil gach ni gu maith? c'ar ſon a
thàinig am *fear* cuthaich ſo a t' ionn-
ſuidh? Agus thubhairt eſan riu, Is
aithne dhuibh an duine, agus a chainnt.
12 Agus thubhairt iadſan, *Is* breug
e; innis dhuinn a nis. Agus thubh-
airt eſan, Mar ſo agus mar ſo labhair
e rium, ag ràdh, Mar ſo tha'n Tigh-
earn ag ràdh, Dh'ung mi thu a'd' righ
air Iſrael.
13 An ſin rinn iad cabhag, agus
ghabh iad gach fear dhiubh 'fhalluing [d],
agus chuir iad fuidhe *i* air mullach na
ſtaidhreach [e], agus ſhéid iad le tromp-
aid, agus thubhairt iad, Is e Iehu an
righ.
14 Uime ſin rinn Iehu mac Iehoſ-
aphait, mhic Nimſi, ceannairc [f] an
aghaidh Ioraim (a nis bha Ioram a'
gleidheadh Ramot-gilead, e féin agus
Iſrael uile, an aghaidh Haſaeil righ
Shiria.
15 Ach phill righ Ioram gu bhi air
a leigheas ann an Ieſreel o na lotaibh
a thug na Sirianaich dha, 'nuair a chog
e ri Haſael righ Shiria.) Agus thubh-
airt Iehu, Ma's e bhur toil e, na
rachadh neach air bith a mach, agus
na teicheadh e as a' bhaile, gu dol
g'*a* innſeadh ann an Ieſreel.
16 Agus mharcaich Iehu ann an
carbad, agus chaidh e gu Ieſreel; oir
bha Ioram na luidhe an ſin: agus
thàinig Ahaſiah righ Iudah a nuas a
dh'fhaicinn Ioraim.
17 Agus ſheas fear-faire air an tùr
ann an Ieſreel, agus chunnaic e buidh-
eann [g] Iehu 'nuair a bha e a' teachd,
agus thubhairt e, *Tha* mi faicinn
buidhne. Agus thubhairt Ioram,
Gabh marcach, agus cuir nan coin-
neamh *e*, agus abradh e, An sìth *a*
th'ann?
18 Agus chaidh fear a' marcachd
air each na coinneamh, agus thubh-
airt e, Mar ſo tha'n righ ag ràdh,
An sìth *a th'ann?* Agus thubh-
airt Iehu, Ciod do ghnothuch-ſa ri
sìth? tionndaidh air mo chùlaobh.
Agus dh'innis am fear-faire, ag ràdh,
Thàinig an teachdaire d'an ionnſuidh,
ach cha 'n'eil teachd air ais.
19 Agus chuir e uaith fear eile a'
marcachd air each, agus thàinig e d'an
ionnſuidh, agus thubhairt e, Mar ſo
tha'n righ ag ràdh, An sìth *a th'ann?*
Agus fhreagair Iehu, Ciod do ghnoth-
uch-ſa ri sìth? tionndaidh air mo
chùlaobh.
20 Agus dh'innis am fear faire, ag
ràdh, Thàinig e eadhon d'an ionnſ-
uidh, agus cha 'n'eil e teachd air ais:
agus *tha*'n ſiubhal coſmhuil ri ſiubhal
Iehu mhic Nimſi [h]; oir tha e a' ſiubhal
gu dian.
21 Agus thubhairt Ioram, Ulluich [i].
Agus dh'ulluich e a charbad. Agus
chaidh Ioram righ Iſraeil, agus Ahaſ-
iah righ Iudah, a mach gach fear
dhiubh na charbad, agus chaidh iad a
mach

[a] *an t-òganach*, eadhon *an t-òganach.* [b] *Tha gnothuch agam riut.*
[c] *thubhairt* neach. [d] *a bhrat.* [e] *nan ceum.* [f] *coimh-cheolg.*
[g] *cuideachd.* [h] *Iehu* mhic Iehoſaphait, *mhic Nimſi.* Faic r. 2. [i] *Beartaich.*

mach an coinneamh [a] Iehu, agus
thachair iad air ann an cuibhrionn
Naboit an Iesreelich.
22 Agus an uair a chunnaic Ioram
Iehu, thubhairt e, An sìth *a th'ann*, a
Iehu? Agus thubhairt esan, Ciod an
t-sìth, fhad 's *a bhios* strìopachas Iese-
beil do mhàthar, agus a druidheachda
co lìonmhor?
23 An sin thionndaidh Ioram a
làmhan agus theich e, agus thubh-
airt e ri Ahasiah, *Tha* feall ann, O
Ahasiah.
24 Agus tharruing Iehu bogha le
'uile neart, agus bhuail e Iehoram
eadar a ghairdeana, agus chaidh an
t-saighead a mach troimh a chridhe,
agus chrom e sìos na charbad.
25 An sin thubhairt *Iehu* ri Bidcar
a cheannard, Tog *agus* tilg e ann an
cuibhrionn fearainn Naboit an Iesreel-
ich: oir is cuimhne leam [b], an uair a
bha mise agus thusa a' marcachd cuid-
eachd an déigh Ahaib 'athar, gu'n do
chuir an Tighearn an eallach so air [c].
26 Gu cinnteach chunnaic mi an
dé fuil Naboit, agus fuil a mhac, ars'
an Tighearna, agus dìolaidh mi ort
anns a' chuibhrionn [d] so, ars' an Tigh-
earn. A nis ma ta tog *agus* tilg e
anns a' chuibhrionn *fhearainn*, a réir
focail an Tighearna.
27 Agus an uair a chunnaic Ahas-
iah righ Iudah *so*, theich e rathad
tighe an lios [e]: agus lean Iehu na
dhéigh, agus thubhairt e, Buailibh
esan mar an ceudna *na* charbad. *A-
gus bhuail iad e* aig uchdaich Ghuir, a
tha làimh ri Ibleam: agus theich e gu
Megido, agus fhuair e bàs an sin.
28 Agus thug a sheirbhisich leo e
ann an carbad gu h-Ierusalem, agus
dh'adhlaic iad e na àit-adhlacaidh,
maille r'a aithrichibh ann am baile
Dhaibhidh.
29 Agus anns an aon bhliadhna
deug do Ioram mac Ahaib, thòisich
Ahasiah air rìoghachadh os cionn
Iudah.
30 Agus an uair a thàinig Iehu gu
Iesreel, chuala Iesebel *e*, agus chuir i
dath mu a sùilibh [f], agus sgeadaich i
a ceann, agus dh'amhairc i mach air
uinneig.
31 Agus an uair a bha Iehu a'
teachd a stigh air a' gheatadh, thubh-
airt i, An *robh* sìth aig Simri, a
mharbh a thighearna?
32 Agus thog esan 'aghaidh suas a
dh'ionnsuidh na h-uinneige, agus
thubhairt e, Cò *a ta* leamsa, cò? a-
gus dh'amhairc a mach air dithis *no*
triuir do chaillteanachaibh.
33 Agus thubhairt e, Tilgibh a
nuas i. Agus thilg iadsan sìos i; a-
gus chrathadh *cuid* d'a fuil air a' bhall-
adh, agus air na h-eachaibh, agus
shaltair iad [g] fa 'n cosaibh i.
34 Agus chaidh e stigh, agus dh'ith
agus dh'òl e, agus thubhairt e, Rach-
aibh a nis a dh'fhaicinn na mnà mall-
aichte sin, agus adhlaicibh i; oir *is*
nighean righ i.
35 Agus chaidh iad g'a h-adhlacadh,
ach cha d'fhuair iad dith ach an
cloigeann, agus na cosan, agus basan
a làmh.
36 Agus phill iad, agus dh'innis iad
da: agus thubhairt esan, *Is* e so focal
an Tighearna, a labhair e le làimh
'òglaich Eliah an Tisbithich, ag ràdh,
Ann an cuibhrionn Iesreeil, ithidh na
madraidh feoil Iesebeil:
37 Agus bithidh closach Iesebeil
mar aolach air aghaidh an fhearainn
ann an cuibhrionn Iesreeil, *air chor as*
nach abair iad, *Is i* so Iesebel.

CAIB. X.

AGUS *bha* aig Ahab deich agus
tri fichead mac ann an Samar-
ia. Agus sgrìobh Iehu litrichean, a-
gus chuir e do Shamaria *iad*, a
dh'ionnsuidh uachdrana Iesreeil [h], a
dh'ionnsuidh nan seanair, agus d'an
ionnsuidh-san a thog *clann* Ahaib, ag
ràdh,
2 A nis an uair a thig an litir so
d'ar ionnsuidh, o tha mic bhur tigh-
earna maille ribh, agus carbaid agaibh,
agus eich, agus baile daingnichte, a-
gus airm:

3 Amhaircibh

[a] *an aghaidh.* [b] *cuimhnich.* [c] *gu'n do chuir an Tighearn an céill an fhàisneachd so na aghaidh.* [d] *ball, àite, achadh.* [e] *a' gharaidh.* [f] *chuir i lìth air a h-aghaidh; chuir i a sùilean ann an dath.* Eabh. [g] *shaltair e.* [h] *uachdarana Shamaria.*

3 Amhaircibh a mach eadhon air a ſhon-ſan a's fearr agus a's iomchuidh do mhacaibh bhur tighearna, agus cuiribh e air righ-chaithir 'athar, agus cogaibh air ſon tighe bhur tighearna.

4 Ach bha eagal ro-mhòr orra-ſan, agus thubhairt iad, Feuch, cha do ſheas dà righ roimhe, agus cionnus a ſheaſas ſinne?

5 Agus chuir *eſan* a *bha* os cionn an tighe, agus *eſan* a *bha* os cionn a' bhaile, agus na ſeanairean, agus iad-ſan a thog *a' chlann*, *teachdairean* gu Iehu, ag ràdh, *Is* ſinne do ſheirbhiſich, agus ni ſinn gach *ni* a dh'iarras tu oirnn; cha dean ſinn righ air bith: an *ni a ta* taitneach a'd' ſhùilibh-ſa, dean *e*.

6 Agus ſcriobh e d'an ionnſuidh litir an daradh uair, ag ràdh, Ma'*s* leamſa ſibh, agus *ma* dh'éiſdeas ſibh ri m' ghuth, gabhaibh cinn mhac[a] bhur tighearna, agus thigibh a'm' ionnſuidh-ſa mu'n tràth ſo am màireach gu Ieſreel (a nis *bha* mic an righ, deich agus tri fichead fear, maille ri daoinibh mòra a' bhaile a thog iad.)

7 Agus an uair a thàinig an litir d'an ionnſuidh, ghabh iad mic an righ, agus mharbh iad deich agus tri fichead fear, agus chuir iad an cinn ann am baſcaidibh, agus chuir iad d'a ionnſuidh *iad* gu Ieſreel.

8 Agus thàinig teachdaire, agus dh'innis e dha, ag ràdh, Thug iad leo cinn mhac an righ. Agus thubhairt eſan, Cuiribh iad nan dà dhùn aig dol a ſtigh a' gheataidh gu maduinn.

9 Agus anns a' mhaduinn chaidh e mach agus ſheas e, agus thubhairt e ris an t-ſluagh uile, Tha ſibhſe ionraic: feuch, rinn miſe ceannairc an aghaidh mo thighearna, agus mharbh mi e; ach cò a bhuail iad ſo uile?

10 Biodh fios agaibh a nis, nach tuit *lide* do fhocal an Tighearna gu làr, a labhair an Tighearna mu thigh Ahaib; oir rinn an Tighearn an *ni ſin* a labhair e le làimh a ſheirbhiſich Eliah.

11 Mar ſin bhuail Iehu iadſan uile a mhair do thigh Ahaib ann an Ieſreel, agus a dhaoine mòra uile, agus a luchd-dàimh, agus a ſhagairt, gus nach d'fhàg e duine beo[b] aige.

12 Agus dh'éirich e, agus dh'imich e, agus chaidh e do Shamaria. Agus an uair *a bha* e aig tigh-bearraidh nam buachaillean[c] air an t-ſlighe,

13 Thachair Iehu air bràithribh Ahaſiah righ Iudah, agus thubhairt e, Cò ſibhſe? Agus thubhairt iadſan, *Is* ſinne bràithrean Ahaſiah, agus tha ſinn a' dol ſìos a chur fàilte air cloinn an righ, agus air cloinn na banrighinn[d].

14 Agus thubhairt eſan, Glacaibh beo iad. Agus ghlac iad beo iad, agus mharbh ſiad iad aig ſlochd an tigh-bhearraidh, dà fhichead agus dithis fear; agus cha d'fhàg e duine *beo* dhiubh.

15 Agus an uair a dh'fhalbh e as ſin, thachair e air Iehonadab mac Rehaib *a' teachd* na choinneamh, agus chuir e fàilte air, agus thubhairt e ris, Am bheil do chridhe-ſa dìreach[e], mar *a tha* mo chridhe-ſa le d' chridhe-ſa? Agus thubhairt Iehonadab, Tha. Ma tha, *ars' eſan*, thoir *dhomh* do làmh. Agus thug e dha a làmh, agus thog e ſuas e d'a ionnſuidh do'n charbad.

16 Agus thubhairt e, Thig maille riumſa, agus faic m'eud air ſon an Tighearna. Agus thug e[f] air marcachd na charbad.

17 Agus thàinig e do Shamaria, agus bhuail e iadſan uile a mhair do Ahab ann an Samaria, gus an do ſgrios ſe e, a réir focail an Tighearna, a labhair e ri Eliah.

18 Agus chruinnich Iehu an ſluagh uile, agus thubhairt e riu, Rinn Ahab beagan ſeirbhis do Bhaal, *ach* ni Iehu mòran ſeirbhis dha.

19 A nis ma ta gairmibh a'm ionnſuidh-ſa fàidhean Bhaail uile, a ſheirbhiſich uile, agus a ſhagairt uile; na biodh duine dhiubh air chall[g]; oir *tha* iobairt mhòr agam *r'a deanamh* do Bhaal: ge b'e neach a bhios air chall,

cha

[a] *nan daoine* eadhon *mhac*. Eabh. [b] *a mhair.* [c] *nan aodhair*
[d] *ban-righ.* [e] *Am bheil do chridhe-ſa dìreach* le m' chridhe-ſa.
[f] *iad.* [g] *air ionndruin.*

cha mhair e beo. Ach rinn Iehu so
ann an feòltachd, a chum gu'n sgrios-
adh e luchd aoraidh Bhaail.
20 Agus thubhairt Iehu, Gairmibh
féill [a] naomha do Bhaal. Agus
ghairm iad *i.*
21 Agus chuir Iehu *fios* air feadh
Israeil uile, agus thàinig uile luchd-
aoraidh Bhaail; cha d'fhàgadh duine
dhiubh nach d'thàinig: agus chaidh
iad a steach do thigh Bhaail, agus
lìonadh tigh Bhaail o cheann gu ceann.
22 Agus thubhairt e ris-san a *bha*
os cionn seòmair nan culaidh, Thoir a
mach culaidhean do uile luchd-aoraidh
Bhaail. Agus thug e mach dhoibh
culaidhean.
23 Agus chaidh Iehu agus Iehon-
adab mac Rehaib a steach do thigh
Bhaail, agus thubhairt e ri luchd-
aoraidh Bhaail, Rannsaichibh agus
faicibh nach bi an so maille ribh *neach
air bith* do sheirbhisich an Tighearna,
ach luchd-aoraidh Bhaail a mhàin.
24 Agus an uair a chaidh iad a
steach a thoirt suas ìobairtean agus
thabhartasa-loisgte, shuidhich Iehu
ceithir fichead fear leis a muigh, agus
thubhairt e, *Ma* théid fear air bith
as do na daoinibh a thug mise thairis
d'ar làimh, théid anam an neach *a
leigeas as e* air son 'anma-san.
25 Agus co-luath agus a chuir e
crìoch air an ìobairt-loisgte ìobradh,
thubhairt Iehu ris an fhreiceadan, a-
gus ris na ceannardaidh, Rachaibh a
steach, buailibh iad, na dthigeadh
duine dhiubh mach. Agus bhuail
siad iad le faobhar a' chlaidheimh, a-
gus thilg am freiceadan agus na ceann-
ardan a mach *iad;* agus chaidh iad gu
baile tighe Bhaail.
26 Agus thug iad a mach na
dealbhan a tigh Bhaail, agus loisg
siad iad.
27 Agus bhris iad sìos dealbh
Bhaail, agus bhris iad sìos tigh Bhaail,
agus rinn iad e na thigh-salchair gus
an la'n diugh.
28 Mar so sgrios Iehu Baal a mach
a h-Israel.
29 Gidheadh ri peacaibh Ieroboaim
mhic Nebait, a thug air Israel peac-
achadh, cha do dhealaich Iehu, *eadhon
ris* na laoghaibh òir a *bha* ann am Be-
tel, agus a *bha* ann an Dan.
30 Agus thubhairt an Tighearna ri
Iehu, A chionn gu'n do rinn thu gu
maith *anns an ni sin* a dheanamh *a tha*
ceart ann mo shùilibh-sa, *agus* gu'n
d'rinn thu ri tigh Ahaib a réir gach *ni*
a *bha* ann am chridhe-sa, suidhidh do
mhic do'n cheathramh *ginealach* air
righ-chaithir Israeil.
31 Ach cha d'thug Iehu an aire air
imeachd ann an lagh an Tighearna
Dé Israeil le 'uile chridhe; *oir* cha do
dhealaich e ri peacaibh Ieroboaim, a
thug air Israel peacachadh.
32 Anns na laithibh sin thòisich an
Tighearn air Israel a ghearradh goirid:
agus bhuail Hasael iad ann an uile
chrìochaibh Israeil;
33 O Iordan a làimh na h-airde 'n
ear, fearann Ghilead uile, na Gadaich,
agus na Reubenich, agus na Manasaich,
o Aroer (a *tha* làimh ri sruth [b] Arn-
oin) eadhon Gilead agus Basan.
34 Agus a' chuid eile do ghnìomh-
araibh Iehu, agus gach *ni* a rinn e, a-
gus a thréine uile, nach *'eil* iad
sgrìobhta ann an leabhar eachdraidh
righrean Israeil?
35 Agus choidil Iehu maille r'a
aithrichibh, agus dh'adhlaic iad e ann
an Samaria: agus rìoghaich Iehoahas
a mhac na àit.
36 Agus *b'i* 'n ùin' a rìoghaich
Iehu os cionn Israeil ann an Samaria,
ochd bliadhna fichead.

C A I B. XI.

AGUS an uair a chunnaic Ataliah
màthair Ahasiah gu'n robh a
mac marbh, dh'éirich i, agus sgrios i
an sliochd rìoghail uile.
2 Ach ghabh Iehoseba nighean
righ Ioraim, piuthar Ahasiah, Ioas
mac Ahasiah, agus ghoid i e a measg
mhac an righ a mharbhadh, agus
chuir i e féin agus a bhan-altrum ann
an seòmar nan leapaiche [c]: agus
dh'fholaich iad e o Ataliah [d] air chor
as nach do mharbhadh e.
3 Agus bha e maille ria-am folach
ann an tigh an Tighearna rè shè
bliadhna:

[a] *féisd, comh-chruinneachadh.* [b] *abhainn.* [c] Faic II. Eachdr. Caib.
XXII. r. 11. [d] *o ghnùis Ataliah.* Eabh.

bliadhna: agus rìoghaich Ataliah os cionn na tìre.

4 Agus air an t-ſeachdamh bliadhna chuir Iehoiada *fios* uaith, agus ghabh e iadſan a bha os cionn cheudan [a], agus na ceannardan, agus am freiceadan, agus thug e ſteach d'a ionnſuidh iad do thigh an Tighearna, agus rinn e coimhcheangal riu, agus ghabh e mionnan diubh ann an tigh an Tighearna, agus dh'fheuch e dhoibh mac an righ.

5 Agus dh'àithn e dhoibh, ag ràdh, So an ni a ni ſibh: *Bithidh* an treas cuid dhibhſe a théid a ſteach air an t-ſàbaid, a' gleidheadh faire tighe an righ:

6 Agus *bithidh* trian aig geatadh Shuir, agus trian aig a' gheatadh air cùlaobh an fhreiceadain: mar ſo gleidhidh ſibh faire an tighe, a chum nach briſear a ſteach air [b].

7 Agus *gleidhidh* dà chuid dhibhſe uile a théid a mach air an t-ſàbaid, gleidhidh eadhon iadſan faire tighe an Tighearna mu'n cuairt air an righ.

8 Agus cuairtichidh ſibh an righ air gach taobh, gach fear le 'airm na làimh: agus eſan a thig an taobh a ſtigh do na ſreathaibh [c], marbhar e; agus bithibhſe maille ris an righ 'nuair a théid e mach, agus an uair a thig e ſteach.

9 Agus rinn na ceannarda-cheud a réir gach *ni* a dh'àithn Iehoiada an ſagart, agus ghabh iad gach fear dhiubh a dhaoine *a bha* dol a ſteach air an t-sàbaid, maille riutha-ſan *a bha* dol a mach air an t-sàbaid, agus thàinig iad a dh'ionnſuidh Iehoiada an t-ſagairt.

10 Agus thug an ſagart do na ceannardaibh-cheud ſleaghanna agus ſgiathan righ Daibhidh, a *bha* ann an tigh [d] an Tighearna.

11 Agus ſheas am freiceadan, gach fear le 'airm na làimh, mu'n cuairt air an righ, o thaobh [e] deas an tighe gu ruig taobh clì an tighe, làimh ris an altair agus an tigh.

12 Agus thug e mach mac an righ, agus chuir e 'n crùn air, agus *thug i dha* an fhianuis, agus rinn iad na righ e, agus dh'ung iad e, agus bhuail iad am baſa, agus thubhairt iad, Gu ma fada beo an righ.

13 Agus an uair a chual Ataliah fuaim an t-ſluaigh a' ruith cuideachd [f], thàinig i dh'ionnſuidh an t-ſluaigh, a ſteach do thigh an Tighearna.

14 Agus an uair a dh'amhairc i, feuch, ſheas an righ làimh ri poſt, mar bu ghnàth, agus na h-uachdarain, agus na trompadairean làimh ris an righ, agus rinn ſluagh na tìre uile gairdeachas, agus ſhéid iad le trompaidibh: agus reub Ataliah a h-eudach, agus dh'éigh i, Feall, feall.

15 Ach dh'àithn Iehoiada an ſagart do na ceannardaibh-cheud, a chuireadh os cionn an t-ſlòigh, agus thubhairt e riu, Thugaibh a mach i an taobh a muigh do na ſreathaibh; agus ge b'e neach a leanas i, marbhar leis a' chlaidheamh e: oir thubhairt an ſagart, Na cuirear gu bàs i ann an tigh an Tighearna.

16 Agus thug iad comas d'i [g], agus dh'imich i air an t-ſlighe air an d'thig na h-eich gu tigh an righ, agus mharbhadh an ſin i.

17 Agus rinn Iehoiada coimhcheangal eadar an Tighearn agus an righ agus an ſluagh, gu'm biodh iad nan ſluagh aig an Tighearna; mar an ceudna eadar an righ agus an ſluagh.

18 Agus chaidh ſluagh na tìre uile a ſteach do thigh Bhaail, agus leag iad sìos e; 'altairean agus a dhealbhan bhris iad gu tur; agus mharbh iad Matan ſagart Bhaail fa chomhair nan altair: agus chuir an ſagart luchd-riaghlaidh [h] os cionn tighe an Tighearna.

19 Agus ghabh e iadſan a bha os cionn cheudan, agus na ceannardan, agus am freiceadan, agus ſluagh na tìre uile, agus thug iad a nuas an righ o thigh an Tighearna, agus thàinig iad rathad geataidh an fhreiceadain gu tigh an righ: agus ſhuidh e air caithir nan righ.

20 Agus rinn ſluagh na tìre uile gairdeachas,

[a] *na ceannardan-cheud.* [b] *a chum nach briſear sìos e.* [c] *rangaibh.* [d] *teampull.* [e] *oiſinn, ghualainn.* [f] *fuaim an fhreiceadain* agus *an t-ſluaigh.* [g] *chuir iad làmh innte.* [h] *luchd-fritheala idh.*

gairdeachas, agus bha 'm baile sàmh-
ach: agus mharbh iad Ataliah leis a'
chlaidheamh *làimh ri* tigh an righ.
21 Seachd bliadhna dh'aois bha
Iehoas an uair a thòiſich e air riogh-
achadh.

C A I B. XII.

ANNS an t-ſeachdamh bliadhna do
Iehu thòiſich Iehoas air riogh-
achadh, agus rìoghaich e dà fhichead
bliadhna ann an Ieruſalem: agus *b'e*
ainm a mhàthar Sibiah o Bheerſeba.
2 Agus rinn Iehoas an *ni a bha*
ceart ann an sùilibh an Tighearna rè
a làithean uile, anns an do theagaiſg
Iehoiada an ſagart e.
3 Ach cha d'thugadh air falbh na
h-àitean arda: *bha* 'n ſluagh fathaſt
ag ìobradh, agus a' loſgadh tùis anns
na h-àitibh arda.
4 Agus thubhairt Iehoas ris na
ſagartaibh, Uile airgiod nan nithe
coiſrigte a bheirear a ſteach do thigh
an Tighearna, airgiod gach duin' a
théid ſeachad *ſan àireamh*, airgiod
meas[a] gach duine, an t-airgiod uile a
thig e ann an cridhe duine ſam bith a
thoirt a ſteach do thigh an Tighearna,
5 Gabhadh na ſagairt d'an ionnſuidh
e, gach duine o 'fhear-eòlais, agus
càireadh iad briſeadh an tighe, eadhon
gach briſeadh a gheibhear ann.
6 Gidheadh, anns an treas bliadhna
fichead do righ Iehoas, cha do chàirich
na ſagairt briſeadh an tighe.
7 An ſin ghairm righ Iehoas air
Iehoiada an ſagart, agus air na ſagart-
aibh *eile*, agus thubhairt e riu, C'ar
ſon nach '*eil* ſibh a' càradh briſidh an
tighe? a nis ma ta na gabhaibh air-
giod *tuilleadh* o luchd bhur n-eòlais,
ach thugaibh air ſon briſidh an tighe
e.
8 Agus dh'aontaich na ſagairt gun
airgiod a ghabhail *tuilleadh* o'n
t-ſluagh, agus gun bhriſeadh an tighe
a chàradh.
9 Ach ghabh Iehoiada an ſagart
ciſte, agus rinn e toll na h-uachdar[b],
agus chuir e i ri taobh na h-altarach
air an làimh dheis, mar a thig duine
a ſteach do thigh an Tighearna: agus
ann an ſin chuir na ſagairt a bha
gleidheadh an doruis, an t-airgiod uile
a thugadh a ſteach do thigh an Tigh-
earna.
10 Agus an uair a chunnaic iad
gu'*n robh* mòran airgid anns a' chiſte,
chaidh ſcrìobhuich an righ ſuas, agus
an t-ard ſhagart, agus cheangail iad
ſuas, agus dh'àireamh iad[c] an t-airgiod
a fhuaradh ann an tigh an Tighearna.
11 Agus thug iad an t-airgiod an
uair a dh'àirmheadh e ann an làimh
nan daoine a rinn an obair, a chuireadh
os cionn tighe an Tighearna; agus
thug iadſan a mach e do na ſaoraibh,
agus do'n luchd-togail, a rinn obair
air tigh an Tighearna,
12 Agus do chlacharaibh, agus do
luchd-ſnaidhidh chlach, agus a cheann-
ach fiodha agus chlacha ſnaidhte a
chàradh briſidh tighe an Tighearna,
agus air ſon gach ni a chuireadh a
mach air an tigh g'*a* chàradh.
13 Gidheadh, cha d'rinneadh do
thigh an Tighearna copain airgid,
ſmàladairean, cuachan, trompaidean,
ſoithichean òir air bith, no ſoithichean
airgid air bith, do'n airgiod a thugadh
a ſteach do thigh an Tighearna.
14 Ach thug iad e do'n luchd-oibre,
agus chàraich iad leis tigh an Tigh-
earna.
15 Os bàrr, cha d'thug iad air na
daoinibh, an làimh an d'thug iad an
t-airgiod chum a thoirt do'n luchd-
oibre, cunntas a thoirt ſeachad: oir
rinn iadſan gu fìrinneach.
16 Cha d'thugadh an t-airgiod
euſaontais agus an t-airgiod peacaidh
a ſteach do thigh an Tighearna: bu
leis na ſagartaibh e.
17 An ſin chaidh Haſael righ Shiria
ſuas, agus chog e an aghaidh Ghat, a-
gus ghlac ſe e: agus chuir Haſael
'aghaidh ri dol ſuas gu h-Ieruſalem.
18 Agus ghabh Iehoas righ Iudah
na nithe coiſrigte uile, a choiſrig
Iehoſaphat agus Iehoram agus Ahaſ-
iah 'aithriche, righrean Iudah, agus
a nithe coiſrigte féin, agus an t-òr
uile a fhuaradh ann an ionmhaſaibh
tighe an Tighearna, agus tighe an righ,
agus chuir e dh'ionnſuidh Haſaeil righ
Shiria

[a] *airgiod meas anma.* Eabh. *màladh, agus dh'àireamh iad.*

[b] *na clàr-beoil.*

[c] *chuir iad ann am*

Shiria *e*, agus dh'imich e o h-Ierusalem.

19 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Ioais, agus gach *ni* a rinn e, nach *'eil* iad fcrìobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Iudah?

20 Agus dh'éirich a fheirbhifich, agus rinn iad ceannairc, agus bhuail[a] iad Ioas ann an tigh Mhilo, a tha fan dol sios gu[b] Sila:

21 Oir bhuail Iofachar mac Shimeat, agus Iehofabad mac Shomair a fheirbhifich e, agus fhuair e bàs: agus dh'adhlaic iad e maille r'a aithrichibh ann am baile Dhaibhidh: agus rìoghaich Amafiah a mhac na àit.

CAIB. XIII.

ANNS an treas bliadhna fichead do Ioas mac Ahafiah righ Iudah, thòifich Iehoahas mac Iehu air rìoghachadh os cionn Ifraeil ann an Samaria; *agus rìoghaich e* feachd bliadhna deug.

2 Agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna, agus lean e peacanna Ieroboaim mhic Nebait, a thug air Ifrael peacachadh: cha do dhealaich e riu.

3 Agus las fearg an Tighearn an aghaidh Ifraeil, agus thug e thairis iad do làimh Hafaeil righ Shiria, agus do làimh Bhen-hadaid mhic Hafaeil, rè *a*[c] làithean uile.

4 Agus ghuidh Iehoahas air an Tighearna, agus dh'éifd an Tighearna ris; oir chunnaic e foirneart[d] Ifraeil, oir rinn righ Shiria foirneart orra.

5 (Agus thug an Tighearna fearfaoraidh do Ifrael, agus chaidh iad a mach o *bhi* fuidh làimh nan Sirianach: agus ghabh clann Ifraeil còmhnuidh nam bùthaibh, mar a *rinn iad* roimhe.

6 Gidheadh, cha do dhealaich iad ri peacaibh tighe Ieroboaim, a thug air Ifrael peacachadh, *ach* ghluais iad annta: agus dh'fhan an doire cuideachd ann an Samaria.)

7 Agus cha d'fhàgadh[e] aig Iehoahas do'n t-fluagh ach leth-cheud marcach agus deich carbaid, agus deich mìle coifiche; oir fgrios righ Shiria iad, agus rinn e iad mar an duflach[f] le bualadh.

8 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Iehoahais, agus gach *ni* a rinn e, agus a thréine[g], nach *'eil* iad fcrìobhta ann an leabhar eachdraidh rìghrean Ifraeil?

9 Agus choidil Iehoahas maille r'a aithrichibh, agus dh'adhlaic iad e ann an Samaria, agus rìoghaich Iehoas[h] a mhac na àit.

10 Anns an t-feachdamh bliadhna deug thar fhichead do Ioas righ Iudah, thòifich Iehoas mac Iehoahais air rìoghachadh os cionn Ifraeil ann an Samaria; *agus rìoghaich e* sè bliadhna deug.

11 Agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna: cha do dhealaich e ri uile pheacaibh Ieroboaim mhic Nebait, a thug air Ifrael peacachadh, *ach* ghluais e annta.

12 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Ioais, agus gach *ni* a rinn e, agus a thréine leis an do chog e an aghaidh Amafiah righ Iudah, nach *'eil* iad fcrìobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Ifraeil?

13 Agus choidil Ioas maille r'a aithrichibh, agus fhuidh Ieroboam air a righ-chaithir: agus dh'adhlaiceadh Ioas ann an Samaria maille ri righribh Ifraeil.

14 A nis bha Elifa tinn d'a thinneas d'an d'fhuair e bàs, agus thàinig Ioas righ Ifraeil a nuas d'a ionnfuidh, agus ghuil e os a chionn[i], agus thubhairt e, O athair, athair, carbad Ifraeil agus a mharc-fhluagh.

15 Agus thubhairt Elifa ris, Gabh bogha agus faighdean: agus ghabh e d'a ionnfuidh bogha agus faighdean.

16 Agus thubhairt e ri righ Ifraeil, Cuir do làmh air a' bhogha. Agus chuir e a làmh air; agus chuir Elifa a làmhan air làmhan an righ.

17 Agus thubhairt e, Fofgail an uinneag a làimh na h-àirde 'n ear: agus dh'fhofgail e *i*. An fin thubhairt Elifa, Tilg: agus thilg efan. Agus thubhairt e, Saighead fhaoraidh an

[a] *mharbh.* [b] *a théid sios gu.* [c] an. [d] *sàruchadh, àmhghar.*
[e] *cha d'fhàg e.* [f] *luaithre.* [g] *a ghaifge, a neart.* [h] *Ioas.*
[i] *air 'aghaidh.* Eabh.

an Tighearna, agus saighead shaoraidh
o[a] Shiria: oir buailidh tu na Sirian-
aich ann an Aphec, gus an cuir thu as
doibh.
18 Agus thubhairt e, Gabh na
saighdean: agus ghabh esan iad. A-
gus thubhairt e ri righ Israeil, Buail
air an talamh: agus bhuail e tri
uairean, agus stad e.
19 Agus bha fearg air an duine le
Dia ris, agus thubhairt e, Bu chòir
dhuit bualadh cùig no sè uairean, an
sin bhuaileadh tu Siria gus an cuireadh
tu as *dith*: ach a nis buailidh tu Siria
a mhàin tri uairean.
20 Agus fhuair Elisa bàs, agus
dh'adhlaic iad e: agus thàinig buidhn-
ean nam Moabach a stigh do'n tìr[b]
aig teachd a steach na bliadhna.
21 Agus an uair a bha iad ag
adhlacadh duine, feuch, chunnaic iad
buidheann *dhaoine*, agus thilg iad sìos
an duine do àit-adhlacaidh Elisa, agus
an uair a leigeadh an duine sìos, agus
a bhean e ri cnàmhan Elisa, dh'ath-
bheothaicheadh e, agus dh'èirich e air
a chosaibh.
22 A nis rinn Hasael righ Shiria
foirneart air Israel rè uile làithean
Iehoahais.
23 Ach bha'n Tighearna bàigheil
riu, agus ghabh e truas riu, agus
dh'amhairc e orra air sgàth a choimh-
cheangail ri Abraham, Isaac, agus
Iacob, agus cha b'àill leis an sgrios,
cha mhò a thilg e as a làthair iad gus
a nis.
24 Agus fhuair Hasael righ Shiria
bàs, agus rìoghaich Benhadad a mhac
na àit.
25 Agus thug Iehoas mac Iehoahais
air an ais as làimh Bhenhadaid mhic
Hasaeil, na bailtean a thug esan as
làimh Iehoahais 'athar anns a' chogadh:
tri uairean bhuail Iehoas[c] e, agus thug
e air an ais bailtean Israeil.

C A I B. XIV.

ANNS an dara bliadhna do Iehoas[d]
mac Iehoahais righ Israeil,
rìoghaich Amasiah mac Ioais righ
Iudah.
2 Cùig bliadhna fichead a dh'aois
bha e 'n uair a thòisich e air rìogh-
achadh, agus rìoghaich e naoi bliadh-
na fichead ann an Ierusalem: agus *b'e*
ainm a mhàthar Iehoadan o Ierusalem.
3 Agus rinn e an *ni a bha* ceart
ann an sùilibh an Tighearna; ach
cha *b'*ann cosmhuil ri Daibhidh 'athair:
a rèir gach *ni* a rinn Ioas 'athair, rinn
esan.
4 Ach cha d'thugadh air falbh na
h-àitean arda: fathast *bha'n* sluagh ag
iobradh, agus a' losgadh tùis air na
h-àitibh arda.
5 A nis an uair a dhaingnicheadh
an rìoghachd na làimh, mharbh e a
sheirbhisich a mharbh an righ 'athair.
6 Ach mic nam mortair[e] cha do
mharbh e; mar a tha e sgrìobhta ann
an leabhar lagha Mhaois, anns an
d'àithn an Tighearn, ag ràdh, Cha
chuirear na h-aithriche gu bàs air
son nam mac, agus cha chuirear na
mic gu bàs air son nan aithriche: ach
cuirear gach duine gu bàs air son a
pheacaidh fèin[f].
7 Bhuail e do Edom ann an gleann
an t-salainn deich mìle, agus ghlac e
Selah anns a' chogadh, agus thug e
Ioctheel mar ainm air gus an la'n diugh.
8 An sin chuir Amasiah teachdair-
ean a dh'ionnsuidh Iehoais mhic Ie-
hoahais, mic Iehu righ Israeil, ag
ràdh, Thig, seallamaid air a chèile
san aghaidh.
9 Agus chuir Iehoas righ Israeil
teachdairean a dh'ionnsuidh Amasiah
righ Iudah, ag ràdh, Chuir am fogh-
annan[g] a *bha* ann an Lebanon fios a
dh'ionnsuidh an t-seudair a *bha* ann an
Lebanon, ag radh, Thoir do nighean
do m' mhac-sa na mnaoi: agus chaidh
fiadh-bheathach seachad a *bha* ann an
Lebanon, agus shaltair e sìos am fogh-
annan.
10 Bhuail thu gun amharus Edom,
agus thog do chridhe suas thu: dean
uaill *a so*, agus fan aig do thigh: oir
S f 3 c'ar

[a] *an aghaidh.* [b] *thug buidhnean nam Moabach ionnsuidh air an tìr.*
[c] *Ioas.* [d] *Ioas.* [e] *nan daoine marbhta.* [f] *na pheacadh
fèin.* Eabh. [g] *cluaran.*

c'ar ſon a bhiodh làmh agad ann an ni chum t-aimhleis, air chor as gu'n tuiteadh tu féin agus Iudah maille riut?

11 Ach cha d'éiſd Amaſiah *ris:* uime ſin chaidh Iehoas righ Iſraeil ſuas, agus dh'amhairc e féin agus Amaſiah righ Iudah air aghaidh a chéile aig Betſemes, a *bhuineas* do Iudah.

12 Agus bhuaileadh Iudah roimh Iſrael, agus theich iad gach fear a dh'ionnſuidh am bùthan.

13 Agus ghlac Iehoas righ Iſraeil Amaſiah righ Iudah, mac Iehoais mhic Ahaſiah, aig Betſemes, agus thàinig e gu h-Ieruſalem, agus bhris e ſios balladh Ieruſaleim, o gheatadh Ephraim gu geatadh na h-oiſne, ceithir cheud làmh-choille.

14 Agus ghabh e an t-òr agus an t-airgiod uile, agus na ſoithichean [a] uile a fhuaradh ann an tigh an Tighearna, agus ann an ionmhaſaibh tighe an righ, agus braighdean-gill [b], agus phill e gu Samaria.

15 Agus a' chuid eile do ghniomharaibh Iehoais a rinn e, agus a thréine, agus mar a chog e ri Amaſiah righ Iudah, nach *'eil* iad ſcriobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Iſraeil?

16 Agus choidil Iehoas maille r'a aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh e ann an Samaria maille ri righribh Iſraeil, agus rioghaich Ieroboam a mhac na àit.

17 Agus bha Amaſiah mac Ioais righ Iudah, beo an déigh bàis Iehoais, mhic Iehoahais righ Iſraeil, cùig bliadhna deug.

18 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Amaſiah, nach *'eil* iad ſcriobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Iudah?

19 Agus rinn iad ceannairc na aghaidh ann an Ieruſalem, agus theich e gu Lachis: ach chuir iad *daoine* na dhéigh gu Lachis, agus mharbh iad e an ſin.

20 Agus thug iad leo air eachaibh e: agus dh'adhlaiceadh e ann an Ieruſalem maille r'a aithrichibh ann am baile Dhaibhidh.

21 Agus ghabh ſluagh Iudah uile Aſariah [c], agus e sè bliadhna deug a dh'aois, agus rinn iad na righ e an àit 'athar Amaſiah.

22 Thog eſan Elat, agus dh'aiſig ſe [d] e do Iudah, an déigh do'n righ codal maille r'a aithrichibh.

23 Anns a' chùigeadh bliadhna deug do Amaſiah mac Ioais, righ Iudah, thòiſich Ieroboam mac Ioais righ Iſraeil, air rioghachadh ann an Samaria, *agus rìoghaich e* bliadhna agus dà fhichead.

24 Agus rinn e olc ann an ſùilibh an Tighearna: cha do dhealaich e ri uile pheacaibh Ieroboaim mhic Nebait, a thug air Iſrael peacachadh.

25 Dh'aiſig e crioch Iſraeil o dhol a ſteach Hamait gu ruig muir a' chòmhnaird, a réir focail an Tighearna Dé Iſraeil, a labhair e le làimh a ſheirbhiſich Ionah, mhic Amitai an fhàidh, a *bha* o Ghat-hepher.

26 Oir chunnaic an Tighearn àmhghar Iſraeil, *gu'n robh e* ro-ſhearbh; oir cha *robh* neach air bith air a dhruideadh ſuas, agus cha d'fhàgadh neach air bith, agus cha *robh* fear-còmhnaidh [e] ann aig Iſrael.

27 Agus cha dubhairt an Tighearna gu'n dubhadh e mach [f] ainm Iſraeil o *bhi* fuidh nèamh: ach ſhaor e iad le làimh Ieroboaim mhic Ioais.

28 Agus a' chuid eile do ghniomharaibh Ieroboaim, agus gach *ni* a rinn e, agus a thréine, mar a chog e, agus mar a dh'aiſig e Damaſcus, agus Hamat, [*bu* le Iudah,] do Iſrael, nach *'eil* iad ſcriobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Iſraeil?

29 Agus choidil Ieroboam maille r'a aithrichibh, maille ri righribh Iſraeil; agus rìoghaich Sachariah a mhac na àit.

C A I B. XV.

ANNS an t-ſeachdamh bliadhna fichead do Ieroboam righ Iſraeil, thòiſich Aſariah [g] mac Amaſiah righ Iudah air rioghachadh.

2 Sè bliadhna deug a dh'aois bha e 'nuair a thòiſich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e dà bhliadhna dheug agus dà fhichead ann an Ieruſalem: agus

[a] *na h-innil, an t-uidbeam.* [b] *boſtages.* Saſg. [c] *Udſiah.* [d] *thug e air ais.* [e] *fear-fuidhich.* [f] *gu'n ſgrioſadh e.* [g] *Udſiah.*

agus *b'e* ainm a mhàthar Iecholiah o Ierusalem.

3 Agus rinn e an *ni a bha* ceart ann an sùilibh an Tighearna, a réir gach *ni* a rinn Amasiah 'athair.

4 Gidheadh, cha d'thugadh air falbh na h-àitean arda: fathast *bha* 'n sluagh ag iobradh, agus a' losgadh tùis anns na h-àitibh arda.

5 Agus bhuail an Tighearn an righ, agus bha e na lobhar gu là a bhàis, agus ghabh e còmhnuidh ann an tigh air leth: agus *bha* Iotam mac an righ os cionn an tighe, a' toirt breth air sluagh na tìre.

6 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Asariah, agus gach *ni* a rinn e, nach *'eil* iad sgriobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Iudah?

7 Agus choidil Asariah maille r'a aithrichibh, agus dh'adhlaic iad e maille r'a aithrichibh ann am baile Dhaibhidh: agus rìoghaich Iotam a mhac na àit.

8 Anns an ochdamh bliadhna deug thar fhichead do Asariah righ Iudah, rioghaich Sachariah mac Ieroboaim os cionn Israeil ann an Samaria sè miosan.

9 Agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna, mar a rinn 'aithriche: cha do dhealaich e ri peacaibh Ieroboaim mhic Nebait, a thug air Israel peacachadh.

10 Agus rinn Salum mac Iabeis ceannairc na aghaidh, agus bhuail se e am fianuis an t-sluaigh, agus mharbh se e, agus rìoghaich e na àit.

11 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Shachariah, feuch, *tha* iad sgriobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Israeil:

12 *B'e* so focal an Tighearna, a labhair e ri Iehu, ag ràdh, Suidhidh do mhic air righ-chaithir Israeil, gu ruig an ceathramh *ginealach*. Agus bha e mar sin.

13 Thòisich Salum mac Iabeis air rìoghachadh anns an naothadh bliadhna deug thar fhichead do Udsiah[a] righ Iudah, agus rioghaich e mios iomlan[b] ann an Samaria:

14 Oir chaidh Menahem mac Ghadi suas o Thirsah, agus thàinig e gu Samaria, agus bhuail e Salum mac Iabeis ann an Samaria, agus mharbh se e, agus rioghaich e na àit.

15 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Shaluim, agus a cheannairc a rinn e, feuch, *tha* iad sgriobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Israeil.

16 An sin bhuail Menahem Tiphsah, agus iadsan uile a *bha* ann, agus a chriocha o Thirsah; a chionn nach d'fhosgail iad *dha*, uime sin bhuail se e: a mhnathan torrcha uile reub e suas.

17 Anns an naothadh bliadhna deug thar fhichead do Asariah righ Iudah thòisich Menahem mac Ghadi air rìoghachadh os cionn Israeil, *agus rìoghaich e* deich bliadhna ann an Samaria.

18 Agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna: cha do dhealaich e rè 'uile làithean ri peacaibh Ieroboaim mhic Nebait, a thug air Israel peacachadh.

19 *Agus* thàinig Pul righ Asiria an aghaidh na tìre: agus thug Menahem do Phul mìle tàlann airgid, a chum as gu'm biodh a làmh leis, a dhaingneachadh na rìoghachd na làimh.

20 Agus thog Menahem an t-airgiod o Israel, *eadhon* uathasan uile a bha comasach ann an saibhreas, lethcheud seceil airgid o gach duine, chum a thabhairt do righ Asiria: agus phill righ Asiria air ais, agus cha d'fhan e 'n sin anns an tìr.

21 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Mhenaheim, agus gach *ni* a rinn e, nach *'eil* iad sgriobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Israeil?

22 Agus choidil Menahem maille r'a aithrichibh; agus rioghaich Pecahiah a mhac na àit.

23 Anns an deicheamh bliadhna agus dà fhichead do Asariah righ Iudah, thòisich Pecahiah mac Mhenaheim air rioghachadh os cionn Israeil ann an Samaria; *agus rìoghaich e* dà bhliadhna.

24 Agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna: cha do dhealaich e ri peacaibh Ieroboaim mhic Nebait, a thug air Israel peacachadh.

25 Ach

[a] *Asariah.*

[b] *mios do laithibh.* Eabh.

25 Ach rinn Pecah mac Remaliah,
ceannard leis féin, ceannairc na agh-
aidh, agus bhuail se e ann an Samaria,
ann an lùchairt tighe an righ, maille
ri Argob, agus ri Arieh, agus maille
ris leth-cheud fear do na Gileadaich:
agus mharbh se e, agus rìoghaich e
na àit.
26 Agus a' chuid eile do ghnìomh-
araibh Phecahiah, agus gach *ni* a rinn
e, feuch, *tha* iad scrìobhta ann an
leabhar eachdraidh righrean Israeil.
27 Anns an dara bliadhna deug a-
gus dà fhichead do Asariah righ Iu-
dah, thòisich Pecah mac Remaliah air
rìoghachadh os cionn Israeil ann an
Samaria; *agus rìoghaich e* fichead
bliadhna.
28 Agus rinn e olc ann an sùilibh
an Tighearna; cha do dhealaich e ri
peacaibh Ieroboaim mhic Nebait, a
thug air Israel peacachadh.
29 Ann an laithibh Phecah righ
Israeil thàinig Tiglat-pileser righ Asi-
ria, agus ghlac e Iion, agus Abel-bet-
maachah, agus Ianoah, agus Cedes, a-
gus Hasor, agus Gilead, agus Galile,
uile thìr Naphtali, agus thug e nam
braighdibh iad gu Asiria.
30 Agus rinn Hosea mac Elah
ceannairc an aghaidh Phecah mhic
Remaliah, agus bhuail se e, agus
mharbh se e, agus rìoghaich e na àit,
anns an fhicheadamh bliadhna do
Iotam mac Udsiah[a].
31 Agus a' chuid eile do ghnìomh-
araibh Phecah, agus gach *ni* a rinn e,
feuch, *tha* iad scrìobhta ann an leabhar
eachdraidh righrean Israeil.
32 Anns an dara bliadhna do
Phecah mac Remaliah righ Israeil,
thòisich Iotam mac Udsiah righ Iu-
dah air rìoghachadh.
33 Cùig bliadhna fichead a dh'aois
bha e 'nuair a thòisich e air rìogh-
achadh, agus rìoghaich e sè bliadhna
deug ann an Ierusalem: agus *b'e* ainm
a mhàthar Ierusa, nighean Shadoic.
34 Agus rinn e an *ni a bha* ceart
ann an sùilibh an Tighearna: a réir
nan uile *nithe* a rinn Udsiah 'athair,
rinn esan.
35 Gidheadh cha d'thugadh air
falbh na h-àitean arda: fathast *bha* 'n
sluagh ag ìobradh agus a' losgadh tùis
anns na h-àitibh ard. Chuir e suas
an geatadh a b'airde do thigh an
Tighearna.
36 Agus a' chuid eile do ghnìomh-
araibh Iotaim, agus gach *ni* a rinn e,
nach *'eil* iad scrìobhta ann an leabhar
eachdraidh righrean Iudah?
37 (Anns na laithibh sin thòisich an
Tighearn air Resin righ Shiria, agus
Pecah mac Remaliah a chur an agh-
aidh Iudah.)
38 Agus choidil Iotam maille r'a
aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh e
maille r'a aithrichibh ann am baile
Dhaibhidh 'athar: agus rìoghaich
Ahas a mhac na àit.

CAIB. XVI.

SAN t-seachdamh bliadhna deug do
Phecah mac Remaliah, thòisich
Ahas mac Iotaim righ Iudah air
rìoghachadh.
2 Fichead bliadhna dh'aois *bha*
Ahas an uair a thòisich e air rìogh-
achadh, agus rìoghaich e sè bliadhna
deug ann an Ierusalem; agus cha do
rinn e an *ni a bha* ceart ann an sùilibh
an Tighearn a Dhé, mar *a rinn*
Daibhidh 'athair.
3 Ach dh'imich e ann an slighe
righrean Israeil, agus mar an ceudna
thug e air a mhac dol troimh 'n teine,
a réir ghràineileachd nan cinneach, a
thilg an Tighearn a mach roimh
chloinn Israeil.
4 Agus dh'ìobair e agus loisg e tùis
anns na h-àitibh arda, agus air na
cnoic, agus fuidh gach craoibh
uaine.
5 An sin thàinig Resin righ Shiria,
agus Pecah mac Remaliah righ Is-
raeil, a nìos gu h-Ierusalem a chogadh,
agus theannaich iad Ahas, ach cha
b'urrainn iad buaidh a thoirt air.
6 San àm sin choisinn Resin righ
Shiria Elat air ais do Shiria, agus
dh'fhògair e na h-Iudhaich a h-Elat:
agus thàinig na Sirianaich do Elat, a-
gus ghabh iad còmhnuidh ann gus an
la 'n diugh.
7 Agus chuir Ahas teachdairean
gu Tiglat-pileser righ Asiria, ag ràdh,
Is mise t'òglach agus do mhac; thig
a nìos

[a] *Asariah.*

a nìos agus ſaor mi a làimh righ Shir-ia, agus a làimh righ Iſraeil, a dh'éirich a'm' aghaidh.

8 Agus ghabh Ahas an t-airgiod agus an t-òr a fhuaradh ann an tigh an Tighearna, agus ann an ionmhaſaibh tighe an righ, agus chuir ſe *e* mar thiodhlacadh gu righ Aſiria.

9 Agus dh'éiſd righ Aſiria ris; oir chaidh righ Aſiria ſuas an aghaidh Dhamaſcuis, agus ghlac ſe e, agus thug e a *ſòluagh* leis am braighdeanas gu Cir, agus mharbh e Reſin.

10 Agus chaidh righ Ahas an coinneamh Thiglat-pileſeir righ Aſiria gu Damaſcus, agus chunnaic e altair a *bha* ann an Damaſcus: agus chuir righ Ahas gu h-Uriah an ſagart ſamhladh na h-altarach, agus a cumadh, a réir a h-uile oibre.

11 Agus thog Uriah an ſagart altair a réir gach ni a chuir Ahas an righ o Dhamaſcus: mar ſin rinn Uriah an ſagart *i* air cheann do righ Ahas teachd o Dhamaſcus.

12 Agus an uair a thàinig an righ o Dhamaſcus, chunnaic an righ an altair: agus thàinig an righ am fagus agus dh'iobair e oirre.

13 Agus loiſg e a thabhartas-loiſgte [a], agus a thabhartas-bìdh, agus thaom e a thabhartas-dibhe, agus chrath e fuil a thabhartaſan-sìth air an altair.

14 Agus thug e mar an ceudna an altair umha, a *bha* 'n' fianuis an Tighearna, o bheulaobh an tighe, o eadar an altair agus tigh an Tighearna, agus chuir e i air taobh tuath na h-altarach.

15 Agus dh'àithn righ Ahas do Uriah an ſagart, ag ràdh, Air an altair mhòir loiſg tabhartas-loiſgte na maidne, agus tabhartas-bìdh an fheaſgair, agus tabhartas-loiſgte an righ, agus a thabhartas-bìdh, agus tabhartas-loiſgte uile ſhluaigh na tìre, agus an tabhartas-bìdh, agus an tabhartais-dibhe, agus crath oirre uile fhuil an tabhartais-loiſgte, agus uile fhuil na h-iobairte: agus bithidh an altair umha agamſa gu fioſrachadh *leatha*.

16 Mar ſo rinn Uriah an ſagart, a réir gach ni a dh'àithn righ Ahas.

17 Agus ghearr righ Ahas iomaill nam bonn diubh, agus dh'atharraich e dhiubh an ſoitheach-ionnlaid, agus thug e nuas an fhairge bhàrr nan damh umha a bha foipe [b], agus chuir e i air urlar chlach.

18 Agus an comhdachadh [c] sàbaid a thog iad ſan tigh, agus ſlighe an righ a ſteach o'n leth muigh, thionndaidh e o thigh an Tighearna air ſon [d] righ Aſiria.

19 A nis a' chuid eile do ghnìomharaibh Ahais a rinn e, nach 'eil iad ſcrìobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Iudah?

20 Agus choidil Ahas maille r'a aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh e maille r'a aithrichibh ann am baile Dhaibhidh; agus rìoghaich Heſeciah a mhac na àit.

C I A B. XVII.

ANNS an dara bliadhna deug do Ahas righ Iudah, thòiſich Hoſeah mac Elah air rìoghachadh ann an Samaria air Iſrael; *agus rìoghaich e* naoi bliadhna.

2 Agus rinn e olc ann an ſealladh an Tighearna, ach cha b'ann mar righribh Iſraeil a bha roimhe.

3 Na aghaidh-ſan thàinig a nìos Salmaneſer righ Aſiria, agus bha Hoſeah na ſheirbhiſeach aige, agus thug [e] tiodhlacadh [e] dha.

4 Agus fhuair righ Aſiria ceannairc [f] ann an Hoſeah; oir chuir e teachdairean gu So righ na h-Eiphit, agus cha d'thug e tiodhlacadh air bith gu righ Aſiria, mar *a chleachd e* o bhliadhna gu bliadhna: uime ſin dhruid righ Aſiria ſuas e, agus cheangail e ann am prìoſun e.

5 An ſin thàinig righ Aſiria nìos troimh 'n fhearann uile, agus chaidh e ſuas gu Samaria, agus theannaich ſe e tri bliadhna.

6 Anns an naothadh bliadhna do Hoſeah ghlac righ Aſiria Samaria, agus thug e leis Iſrael do Aſiria, agus ſhuidhich e iad ann an Halah, a-

gus

[a] *ìobairt-loiſgte.* [b] *fuidhe.* [c] *pàilliun.* [d] *air eagal.*
[e] *cìs.* [f] *ſeall.*

gus ann an Habor *làimh ri* abhainn Ghoſain, agus ann am bailtibh nam Medeach.

7 Oir tharladh gu'n do pheacaich clann Iſraeil an aghaidh an Tighearn an Dé, a thug a nios iad a tìr na h-Eiphit, o bhi fuidh làimh Pharaoih righ na h-Eiphit, agus bha eagal dhiathan eile orra.

8 Agus dh'imich iad ann an reachdaibh nan cinneach, (a thilg an Tighearn a mach roimh chloinn Iſraeil,) agus *ann an reachdaibh* righrean Iſraeil a rinn iad.

9 Agus rinn clann Iſraeil gu dìomhair nithe nach *robh* ceart an aghaidh an Tighearn an Dé, agus thog iad dhoibh féin àitean arda nam mòr-bhailtibh uile, o thùrait an luchdfaire gus a' bhaile dhaingnichte.

10 Agus chuir iad ſuas dhoibh féin dealbhan agus doireachan [a] air gach uile chnoc ard, agus fuidh gach uile chraoibh uaine.

11 Agus an ſin loiſg iad tùis anns na h-àitibh ard uile, mar na cinnich a thug Dia air falbh rompa; agus rinn iad nithe olc a bhroſnachadh an Tighearna gu corruich:

12 Oir rinn iad ſeirbhis do ìodholaibh, mu'n d'thubhairt an Tighearna riu, Cha dean ſibh an ni ſo.

13 Gidheadh thug an Tighearna fianais an aghaidh Iſraeil, agus an aghaidh Iudah, leis na fàidhibh uile, *agus leis* an luchd-ſeallaidh uile ag ràdh, Pillibh o bhur droch ſhlighibh, agus gleidhibh m'àitheantan *agus* mo reachdan, a réir an lagha uile a dh'àithn mi d'ar n-aithrichibh, agus a chuir mi d'ar n-ionnſuidh le 'm ſheirbhiſich [b] na fàidhean.

14 Gidheadh cha b'àill leo éiſdeachd, ach chruadhaich iad am mùineal, coſmhuil ri muineal an aithriche, nach do chreid anns an Tighearn an Dia.

15 Agus rinn iad tàir air a reachdaibh, agus air a choimhcheangal a rinn e r'an aithrichibh, agus air a theiſteis leis an d'thug e fianuis nan aghaidh, agus lean iad diomhanas, agus dh'fhàs iad diomhain, agus chaidh iad an déigh nan cinneach a *bha* mu'n cuairt orra, mu'n d'thug an Tighearna ſparradh dhoibh, nach deanadh iad coſmhuil riu.

16 Agus thréig iad uile àitheantan an Tighearn an Dé, agus rinn iad dhoibh féin dealbhan leaghta, eadhon dà laogh, agus rinn iad doire, agus rinn iad aoradh do uile armailt nèimh, agus rinn iad ſeirbhis do Bhaal.

17 Agus thug iad air am macaibh agus air an nigheanaibh dol troimh 'n teine, agus ghnàthaich iad fioſachd agus druidheachd, agus reic ſiad iad féin a dheanamh uile ann an ſealladh an Tighearna, chum a bhroſnachadh gu feirg.

18 Uime ſin bha fearg ro mhòr aig an Tighearna ri h-Iſrael, agus dh'atharraich e iad as a ſhealladh: cha d'fhàgadh aon ach treubh Iudah a mhàin.

19 (Mar an ceudna cha do ghléidh Iudah àitheantan an Tighearn an Dé, ach dh'imich iad ann an reachdaibh Iſraeil a rinn iad)

20 Agus chuir an Tighearna cùl ri uile ſhliochd Iſraeil, agus chuir e fuidh àmhghar iad, agus thug e thairis iad do làimh chreachadairean, gus an do thilg e as a ſhealladh iad.

21 Oir ſcar Iſrael e féin o thigh Dhaibhidh [c], agus rinn iad Ieroboam mac Nebait na righ, agus dh'fhuadaich Ieroboam Iſrael o'n Tighearn a leantuinn, agus thug e orra peacadh mòr a pheacachadh.

22 Agus dh'imich clann Iſraeil ann an uile pheacaibh Ieroboaim a rinn e: cha do dhealaich iad riu:

23 Gus an d'atharraich an Tighearn Iſrael as a ſhealladh, mar a thubhairt e le 'ſheirbhiſich uile na fàidhean. Agus thugadh Iſrael air falbh as an tìr féin do Aſiria, gus an la 'n diugh.

24 Agus thug righ Aſiria *daoine* o Bhabilon, agus o Chutah, agus *o* Abha, agus o Hamat, agus o Shepharbhaim, agus ſhuidhich e *iad* ann am bailtibh Shamaria, an àite chloinn Iſraeil; agus ſhealbhaich iad Samaria, agus ghabh iad còmhnuidh na bhailtibh.

25 Agus tharladh, 'nuair a ghabh iad an toiſeach còmhnuidh an ſin, nach robh

[a] *iodholan; aſberim.* Eabh. [b] *le làimh mo ſheirbhiſeach.* Eabh.
reub e Iſrael o thigh Dhaibhidh.

robh eagal an Tighearn orra; uime sin chuir an Tighearna leòmhainn nam measg, a mharbh *cuid* diubh.

26 Air an aobhar sin labhair iad ri righ Asiria, ag ràdh, Na cinnich a dh'atharraich thu, agus a shuidhich thu ann am bailtibh Shamaria, cha 'n aithne dhoibh gnàth Dhé na tìre: uime sin chuir e leòmhainn nam measg, agus feuch, tha iad 'gam marbhadh, a chionn nach aithne dhoibh gnàth Dhé na tìre.

27 An sin dh'àithn righ Asiria, ag ràdh, Thugaibh leibh an sin aon do na sagartaibh a thug sibh as sin, agus rachadh e[a] agus gabhadh e[b] còmhnuidh an sin, agus teagaisgeadh e dhoibh gnàth Dhé na tìre.

28 An sin thàinig aon do na sagartaibh a thug iad leo a Samaria, agus ghabh e còmhnuidh ann am Betel, agus theagaisg e dhoibh cionnus bu chòir dhoibh eagal an Tighearn a bhi orra.

29 Gidheadh, rinn gach cinneach dée dhoibh féin, agus chuir siad *iad* ann an tighibh nan àitean ard a rinn na Samaritich, gach cinneach nam bailtibh féin anns an do ghabh iad còmhnuidh.

30 Agus rinn daoine Bhabiloin Sucot-Benot, agus rinn daoine Chuit Nergal, agus rinn daoine Hamait Asima,

31 Agus rinn na h-Abhaich Nibhas agus Tartac, agus loisg na Sepharbhaich an clann san teine do Adramelech agus Anamelech, dée Shepharbhaim.

32 Agus bha eagal an Tighearn orra, agus rinn iad doibh féin do'n chuid a b'isle dhiubh sagairt nan àit arda, agus thug iad suas ìobairtean air an son ann an tighibh nan àit arda.

33 Bha eagal an Tighearn orra, agus rinn iad seirbhis d'an déibh féin, a réir gnàtha nan cinneach a thug iad leo as sin.

34 Gus an la 'n diugh tha iad a deanamh a réir nan ceud ghnàth: cha 'n'eil eagal an Tighearn orra, cha mhò tha iad a' deanamh a réir an reachda, no do réir an orduighean, no do réir an lagha, no do réir na h-àithne a dh'àithn an Tighearna do chloinn Iacoib, air an d'thug e Israel mar ainm:

35 Ris an d'rinn an Tighearna coimhcheangal, agus d'an d'thug e sparradh[c], ag ràdh, Cha bhi eagal dhiathan eile oirbh, agus cha chrom sibh sibh féin doibh, agus cha dean sibh seirbhis doibh, agus cha 'n ìobair sibh doibh:

36 Ach an Tighearn a thug a nìos sibh a tìr na h-Eiphit le mòr chumhachd, agus le gairdean sìnt' a mach, 'eagal-san bithidh oirbh, agus dha-san lùbaidh sibh an glùn, agus dha-san-ìobraidh sibh.

37 Agus na reachdan, agus na h-orduighean, agus an lagh, agus an àithne a scrìobh e dhuibh, bheir sibh an aire gu'n dean sibh iad gu bràth; agus cha bhi eagal dhiathan eile oirbh.

38 Agus an coimhcheangal a rinn mise ribh cha di-chuimhnich sibh: agus cha bhi eagal dhiathan eile oirbh.

39 Ach bithidh eagal an Tighearna bhur Dé oirbh, agus saoraidh esan sibh a làimh bhur naimhdean uile.

40 Gidheadh cha d'éisd iad, ach rinn iad a réir an ceud ghnàtha.

41 Agus bha eagal an Tighearn air na cinnich sin, gidheadh rinn iad seirbhis d'an dealbhaibh snaidhte féin, araon an clann agus clann an cloinne: mar a rinn an aithriche, is amhuil a ta iadsan a' deanamh gus an la'n diugh.

C A I B. XVIII.

AGUS anns an treas bliadhna do Hosea mac Elah righ Israeil, thòisich Heseciah mac Ahais, righ Iudah, air rìoghachadh.

2 Cùig bliadhna fichead a dh'aois bha e 'nuair a thòisich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e naoi bliadhna fichead ann an Ierusalem: agus *b'e* ainm a mhàthar Abi, nighean Shechariah.

3 Agus rinn e an *ni a bha* ceart ann an sùilibh an Tighearna, a réir nan uile nithe a rinn Daibhidh 'athair.

4 Chuir e air falbh na h-àitean arda, agus bhris e na dealbhan, agus ghearr e sìos na doireacha, agus mhin-

phronn

[a] *iad.* [b] *iad.* [c] *ordugh teann.*

phronn e an nathair umha a rinn Maois; oir gus na laithibh ſin bha clann Iſraeil a' loſgadh tùis dh'i: agus thugadh [a] Nehuſtan mar ainm oirre.

5 As an Tighearna Dia Iſraeil bha 'earbſadh; agus na dhéigh cha robh neach ſam bith coſmhuil ris am meaſg uile righrean Iudah, no *aon* a bha roimhe.

6 Oir dhlùth-lean e ris an Tighearna, cha do chlaon e o a leantuinn; ach ghléidh e 'àitheantan, a dh'àithn an Tighearn do Mhaois.

7 Agus bha 'n Tighearna maille ris: anns gach àite d'an deachaidh e, ſhoirbhich e. Agus dh'éirich e 'n aghaidh righ Aſiria, agus cha d'rinn e ſeirbhis dha.

8 Bhuail e na Philiſtich gu ruig Gaſa, agus a chrìocha, o thùr an fhreiceadain gu ruig am baile daingnichte.

9 Agus anns a' cheathramh bliadhna do righ Heſeciah, agus ſan t-ſeachdamh bliadhna [b] do Hoſeah mac Elah righ Iſraeil; thàinig Salmaneſer, righ Aſiria, a nìos an aghaidh Shamaria, agus theannaìch ſe e.

10 Agus ghlac iad e an ceann thri bliadhna: anns an t-ſèathadh bliadhna do Heſeciah, agus ſan naothadh bliadhna do Hoſeah righ Iſraeil, ghlacadh Samaria.

11 Agus thug righ Aſiria leis Iſrael do Aſiria, agus chuir e iad ann an Halah agus ann an Habor *làimh ri* abhainn Ghoſain, agus ann am bailtibh nam Medeach;

12 A chionn nach d'éiſd iad ri guth an Tighearn an Dé, ach gu'n do bhris iad a choimhcheangal, na h-uile *nithe* a dh'àithn Maois òglach an Tighearna; nach d'éiſd iad *riu*, agus nach mò a rinn ſiad *iad*.

13 Agus anns a' cheathramh bliadhna deug' do righ Heſeciah thàinig Senacherib righ Aſiria a nìos an aghaidh uile bhailte daingnichte Iudah, agus ghlac e iad.

14 Agus chuir Heſeciah righ Iudah *teachdairean* gu righ Aſiria do Lachis, ag ràdh, Chiontaich mi, pill uam: *an ni* a chuireas tu orm, giùlainidh mi. Agus chuir righ Aſiria air Heſeciah righ Iudah tri cheud tàlann airgid, agus deich tàlanna fichead òir.

15 Agus thug Heſeciah *dha* an t-airgiod uile a fhuaradh ann an tigh an Tighearna, agus ann an ionmhaſaibh tighe an righ.

16 Anns an àm ſin ghearr Heſeciah air falbh còmhlaidh teampuill an Tighearna, agus na h-urſainnean a chòmhdaich Heſeciah righ Iudah, agus thug e iad [c] do righ Aſiria.

17 Agus chuir righ Aſiria Tartan, agus Rabſaris, agus Rabſaceh o Lachis, gu righ Heſeciah le ſluagh mòr an aghaidh Ieruſaleim: agus air teachd a nìos doibh [d], thàinig iad agus ſheas iad aig ſruth-chlais na linne a's airde, a *tha* air ſlighe achaidh an luadhadair.

18 Agus an uair a dh'éigh iad ris an righ, thàinig a mach d'an ionnſuidh Eliacim mac Hilciah, a *bha* os cionn an teaghlaich, agus Sebna an ſcrìobhuich, agus Ioas mac Aſaiph an ſeanachaidh.

19 Agus thubhairt Rabſaceh riu, Abraibh a nis ri Heſeciah; Mar ſo tha 'n righ mòr, righ Aſiria, ag ràdh, Ciod an t-earbſadh [e] mòr ſo a th'agad?

20 Tha thu ag ràdh, (ach *is* briathra faoin *iad*) *Tha* comhairle agus neart *agam* chum a' chogaidh: a nis ma ta cò as am bheil thu 'g earbſadh, gu'n deanadh tu cogadh a'm' aghaidhſa?

21 A nis, feuch, tha thu 'g earbſadh as an luirg bhriſte chuilce ſin, as an Eiphit, a théid, ma leigeas duine a chudthrom oirre, a ſteach na làimh, agus a thollas troimhe [f] i. *Is ann* mar ſo *a tha* Pharaoh righ na h-Eiphit dhoibhſan uile a dh'earbas as.

22 Ach ma their ſibh rium, As an Tighearn ar Dia tha ar n-earbſadh: nach e ſo eſan, a chuir Heſeciah air falbh 'àitean arda, agus 'altairean, agus a thubhairt ri Iudah agus ri Ieruſalem, Fa chomhair na h-altarach ſo ſleuchdaidh ſibh ann an Ieruſalem?

23 A nis uime ſin, guidheam ort, thoir

[a] *thug e.* [b] b'i *ſin an ſeachdamh bliadhna.* Eabh. [c] *an t-òr a bha orra.* [d] *agus chaidh iad ſuas, agus thàinig iad gu h-Ieruſalem: agus an uair a thàinig iad a nìos.* [e] *an dòchas.* [f] *trìd.*

thoir gill do m' thighearna righ
Asiria, agus bheir mise dhuit dà mhìle
each, ma's urrainn thusa air do thaobh
fèin marcaich a chur orra.
24 Cionnus ma ta bheir thu air aon
cheannard, do na seirbhisich a's lugha
a tha aig mo thighearna-sa, 'aghaidh a
thionndadh uait, agus a dh'earbas tu
as an Eiphit air son charbad agus
marc-shluaigh?
25 *Ach* a nis, an ann as eugmhais
an Tighearn a thàinig mis a nìos an
aghaidh an àite so, g'a sgrios? Is e 'n
Tighearn a thubhairt riumsa, Falbh
suas an aghaidh na tìre so, agus sgrios
i.
26 An sin thubhairt Eliacim mac
Hilciah, agus Sebna, agus Ioah, ri
Rabsaceh, Labhair, guidheam ort, ri
d' sheirbhisich anns a' chainnt Shirian-
aich, oir tuigidh sinn *i*; agus na labh-
air ruinn anns a' chainnt Iudhaich, an
cluasaibh an t-sluaigh a *tha* air a'
bhalladh.
27 Ach thubhairt Rabsaceh riu,
An ann a dh'ionnsuidh do thighearna-
sa, agus a't' ionnsuidh-sa, a chuir mo
thighearna mise a labhairt nam briath-
ra so? nach ann a dh'ionnsuidh nan
daoin' a tha nan suidhe air a' bhalladh,
a chum gu'n ith iad an salchar féin, a-
gus gu'n òl iad an uisge féin maille
ribhse?
28 An sin sheas Rabsaceh, agus
dh'éigh e le guth àrd anns a' chainnt
Iudhaich, agus labhair e, ag ràdh,
Eisdibh ri focal an righ mhòir, righ
Asiria.
29 Mar so tha'n righ ag ràdh, Na
mealladh Hesecìah sibh, oir cha 'n
urrainn e bhur saoradh a'm' làimh-
sa [a].
30 Agus na dthugadh Hesecìah
oirbh bhur dòchas a chur san Tigh-
earn, ag ràdh, Gu deimhin saoraidh
an Tighearna sinne, agus cha dthoir-
ear thairis am baile so do làimh righ
Asiria.
31 Na h-éisdibh ri Hesecìah: oir
mar so tha righ Asiria 'g ràdh,
Deanaibh suas cairdeas riumsa [b], agus
thigibh a mach a'm' ionnsuidh, agus
ithibh gach fear d'a chraun-fìona, agus
gach fear d'a chrann-fìge féin, agus
òlaibh gach fear uisge a thobair féin:
32 Gus an dthig mise, agus gu'n
dthoir mi air falbh sibh do thìr
cosmhuil r'ar tìr féin, tìr arbhair agus
fìona, tìr arain agus fhìon-lios, tìr
olaidh a' chroinn-olaidh agus meala, a
chum gu'm bi sibh beo, agus nach
faigh sibh bàs: agus na h-éisdibh ri
Hesecìah, an uair a chuireas e impidh
oirbh, ag ràdh, Saoraidh an Tighearna
sinn.
33 An do shaor riamh dée nan
cinneach, gach aon a thìr féin, as
làimh righ Asiria?
34 C'àit *am bheil* dée Hamàit, agus
Arphaid? c'àit *am bheil* dée Shephar-
bhaim, Hena, agus Ibhah? an do
shaor iad Samaria as mo làimh-sa?
35 Cò am measg uile dhée nan
dùthchanna, a shaor an tìr féin as mo
làimh-sa, gu'n saoradh an Tighearn
Ierusalem as mo làimh?
36 Ach bha 'n sluagh nan tosd, a-
gus cha do fhreagair iad aon fhocal
da: oir b'i àithne an righ dhoibh,
Na dthugaibh freagradh air.
37 An sin thàinig Eliacim mac
Hilciah, a *bha* os cionn an teaghlaich,
agus Sebna an sgrìobhuich, agus Ioah
mac Asaiph an seanachaidh, gu Hes-
eciah le'n eudach reubta, agus dh'innis
iad da briathra Rabsaceh.

CAIB. XIX.

AGUS an uair a chuala Hesecìah
an righ e, reub e 'eudach, agus
chòmhdaich se e féin le saic-eudach,
agus chaidh e do thigh an Tighearna.
2 Agus chuir e Eliacim, a *bha* os
cionn an tighe, agus Sebna an sgrìobh-
uich, agus seanaire nan sagart, còmh-
daichte le saic-eudach, gu Isaiah am
faidh, mac Amois.
3 Agus thubhairt iad ris, Mar so
tha Hesecìah ag ràdh, *Is* là teinn, a-
gus achmhasain, agus mallaidh an là
so: oir tha clann air teachd gu inbhe
breith, agus neart gu'*m* breith cha
'*n eil* ann.
4 Theagamh gu'n cluinn [c] an Tigh-
earna do Dhia uile bhriathra Rabsaceh,
a chuir a thighearna righ Asiria a
mhaslachadh

[a] *as a làimh-san.*
[b] *Deanaibh* coimhcheangal *riumsa le tiodhlacaibh.*
[c] *O gu'n cluinneadh.*

mhaslachadh an Dé bheo; agus gu'n
cronaich e na briathran a chual an
Tighearna do Dhia: tog suas t'urnuigh
ma ta air son an fhuighill a dh'fhàg-
adh.
5 Uime sin an uair a thàinig seirbhis-
ich righ Hesеciah gu h-Isaiah,
6 Thubhairt Isaiah riu, Mar so
their sibh r'ar tighearn, Mar so tha'n
Tighearn ag ràdh, Na biodh eagal
ort roimh na briathraibh a chuala tu,
leis an d'thug seirbhisich righ Asiria
masladh dhomhsa.
7 Feuch, cuiridh mise spiorad ann [a],
agus cluinnidh e tuairesgeul, agus
pillidh e d'a thìr féin, agus bheir mise
air tuiteam leis a' chlaidheamh na thìr
féin.
8 Agus phill Rabsaceh, agus fhuair
e righ Asiria a' cogadh an aghaidh
Libnah: oir chual e gu'n d'fhalbh e
o Lachis.
9 Agus an uair a chual e 'ga ràdh
mu Thirhacah righ Etiopia [b], Feuch,
thàinig e mach a chogadh riut: chuir
e teachdairean a rìs gu Hesеciah, ag
ràdh,
10 Mar so labhraidh sibh ri Hese-
ciah righ Iudah, ag ràdh, Na mealladh
do Dhia thu, as am bheil thu 'g earb-
sadh, ag ràdh, Cha dthoirear Ierusa-
lem thairis do làimh righ Asiria.
11 Feuch, chuala tu ciod a rinn
righrean Asiria ris gach uile thìr, 'g
an sgrios gu tur: agus an saorar
thusa?
12 An do shaor dée nan cinneach
iadsan a sgrios m'aithriche-sa, *eadhon*
Gosan, agus Haran, agus Reseph, a-
gus clann Edein a *bha* ann an Telasar?
13 C'àit am bheil righ Hamait, a-
gus righ Arpaid, agus righ mòr-
bhaile [c] Shepharbhaim, Hena, agus
Ibha?
14 Agus ghabh Hesеciah an litir a
làimh nan teachdaire, agus leugh se i:
agus chaidh Hesеciah suas do thigh an
Tighearna, agus sgaoil e i am fianuis
an Tighearna.
15 Agus rinn Hesеciah urnuigh an
làthair an Tighearna, agus thubhairt
e, O Thighearna Dhé Israeil, a tha
d' chòmhnuidh *eadar* na cheruban, is
tu féin Dia, thusa a'd' aonar, *Dia* uile
rìoghachda na talmhainn; is tu a rinn
na nèamha agus an talamh.
16 Crom, a Thighearn, a nuas do
chluas, agus éisd; fosgail, a Thigh-
earna, do shùilean, agus faic: éisdh
cluinn briathra Shenacherib, a chuir
e a mhaslachadh an Dé bheo.
17 Gu deimhin, a Thighearna,
sgrios righrean Asiria na cinnich agus
an tìre,
18 Agus thilg iad an dée san teine:
oir cha *bu* dée iad, ach oibre làmha
dhaoine, fiodh agus clach: uime sin
sgrios siad iad.
19 A nis ma-ta, O Thighearn ar
Dia, saor sinn, guidheam ort, as a
làimh, chum as gu'm bi fios aig uile
rìoghachdaibh na talmhainn gur tusa
an Tighearna Dia, thu féin a't' aonar.
20 An sin chuir Isaiah mac Amois
teachdaire gu Hesеciah, ag ràdh, Mar
so tha'n Tighearna Dia Israeil ag
ràdh, An urnuigh a rinn thu riumsa
mu thimchioll Shenacherib righ Asi-
ria, chuala mi.
21 So am focal a labhair an Tigh-
earna mu 'thimchioll: Rinn òigh
nighean Shioin tàir ort; rinn i gàire
fanoid riut; chrath nighean Ierusalem
a ceann air do chùlaobh.
22 Cò d'an d'thug thu masladh a-
gus toibheum? agus cò a dh'ardaich
thu *do* ghuth na aghaidh, agus a thog
thu do shùilean gu h-ard? an aghaidh
Ti naomha Israeil.
23 Le làimh do theachdairean
mhaslaich thu 'n Tighearna, agus
thubhairt thu, Le lionmhoireachd
mo charbad dhìrich mi airde nam
beann, sliosan Lebanoin; agus
gearraidh mi sios a chraobhan seudair
a's airde [d], agus roghadh a chraobhan
giuthais, agus théid mi stigh a dh'àit-
ibh-tàimh a chrìche, frìth a Char-
meil.
24 Chladhaich mi agus dh'òl mi
uisgeacha coimheach, agus le bonn
mo chos thiormaich mi suas uile
aibhniche nan daingneach.
25 Nach cuala tu o cheann fada
cionnus a rinn mi e, *agus* o'n aimsir
chéin gu'n do dhealbh mi e? a nis
thug

[a] *osag air.* [b] *Chuis.* Eabh. [c] *caithreach.* [d] *airde a chraobha seudair.* Eabh.

thug mi gu crìch e, gu'm bitheadh tusa chum bailtean daingnichte fhàsachadh nan carnaibh sgrios.

26 Uime sin bha 'n luchd-àiteachaidh air bheag neirt: bha crith-eagail orra agus amhluadh; bha iad *mar* fheur na machrach, agus *mar* an luibh ghlas [a], *mar* fheur mullaich nan tighean, agus *mar* arbhar seargta mu'm fàs e suas.

27 Ach is aithne dhomh t'àitecòmhnuidh, agus do dhol a mach, agus do theachd a steach, agus fraoch t'fheirge a'm' aghaidh.

28 A chionn gu'm bheil fraoch t'fheirge a'm' aghaidh, agus t'onfhadh air teachd a nìos gu m' chluasaibh, uime sin cuiridh mi mo dhubhan a'd' shròin, agus mo shrian a'd' bheul [b], agus pillidh mi air t'ais thu san t-slighe air an d'thàinig thu.

29 Agus *bithidh* só na chomhara dhuit: Ithidh tu air a' bhliadhna so na nithe a dh'fhàsas leo féin, agus anns an dara bliadhna na nithe a chinneas asda sin; agus anns an treas bliadhna cuiridh agus buainidh sibh, agus suidhichidh sibh fion-liosan, agus ithidh sibh d'an toradh.

30 Agus gabhaidh am fuigheall a théid as do thigh Iudah, fathast freumh sìos, agus cuiridh e toradh suas.

31 Oir a Ierusalem théid fuigheall [c] a mach, agus iadsan a théid as o shliabh Shioin: ni eud Thighearna nan sluagh so [d].

32 Uime sin mar so tha'n Tighearn ag ràdh mu thimchioll rìgh Asiria, Cha dthig e do'n bhaile so, agus cha tilg e saighead ann, agus cha dthig e fa chomhair le sgéith, agus cha chuir e suas tòrr [e] na aghaidh.

33 Air an t-slighe air an d'thàinig e, air an *t-slighe* cheudna pillidh e, agus cha dthig e steach do'n bhaile so, ars' an Tighearna:

34 Oir dìonaidh mise am baile so chum a shaoradh, air mo shon féin, agus air son Dhaibhidh m'òglaich.

35 Agus air an oidhche sin féin chaidh aingeal an Tighearna mach, agus bhuail e ann an camp nan Asirianach ceud agus ceithir fichead agus cùig mìle: agus an uair a dh'éirich iad gu moch anns a' mhaduinn, feuch, *bha* iad uile nan corpaibh marbha.

36 Agus dh'imich Senacherib rìgh Asiria, agus chaidh e agus phill e, agus ghabh e còmhnuidh ann an Ninebheh.

37 Agus an uair a bha e ri aoradh ann an tigh Nisroich a dhé, bhuail Adramelech agus Sarefer a mhic e leis a' chlaidheamh; agus theich iad do thìr Armenia: agus rìoghaich Esarhadon a mhac na àit.

C A I B. XX.

ANNS na laithibh sin bha Heseciah tinn gu bàs: agus thàinig am fàidh Isaiah mac Amois d'a ionnsuidh, agus thubhairt e ris, Mar so tha'n Tighearn ag ràdh, cuir do thigh an ordugh, oir gheibh thu bàs, agus cha bhi thu beo.

2 An sin thionndaidh e 'aghaidh ris a' bhalladh, agus rinn e urnuigh ris an Tighearn, ag ràdh,

3 Guidheam ort, O Thighearna, cuimhnich a nis cionnus a ghluais mi a'd' làthair ann am firinn, agus le cridhe iomlan, agus a rinn mi an *ni a ta* maith a'd' shùilibh. Agus ghuil Heseciah gu goirt.

4 Agus mu'n deachaidh Isaiah mach do'n chùirt mheadhonaich, thàinig focal an Tighearna d'a ionnsuidh, ag ràdh,

5 Pill, agus abair ri Heseciah ceannard mo shluaigh, Mar so tha'n Tighearna, Dia Dhaibhidh t'athar, ag ràdh, Chuala mise t'urnuigh, chunnaic mi do dheoir: feuch, slànuichidh mi thu; air an treas là théid thu suas do thigh an Tighearna.

6 Agus cuiridh mi ri d' laithibh cùig bliadhna deug, agus saoraidh mi thusa, agus am baile so, a làimh rìgh Asiria, agus dìonaidh mi am baile so air mo shon féin, agus air son Dhaibhidh m'òglaich.

7 Agus thubhairt Isaiah, Gabhaibh meall fhige. Agus ghabh agus chuir iad *e* air an neascaid, agus shlànuicheadh e [f].

8 Agus thubhairt Heseciah ri Isaiah, Ciod an comhara gu'n leighis

[a] *uaine.* [b] *a'd' bhilibh.* [c] *iarmad.* [d] *ni eud an Tighearna so.*
[e] *dùn talmhainn, daingneach.* [f] Faic Isaiah. Caib. XXXVIII. r. 21.

an Tighearna mi, agus gu'n d'théid mi suas air an treas là do thigh an Tighearna?

9 Agus thubhairt Isaiah, *Bithidh* so na chomhara dhuit o'n Tighearna, gu'n dean an Tighearn an ni a labhair e: an d'théid an dubhar air aghaidh deich ceumanna, no'n d'théid e air ais deich ceumanna?

10 Agus fhreagair Heseciah, Is furasdh an ni do'n dubhar dol sìos[a] deich ceumanna; ni h-eadh, ach pilleadh an dubhar air ais deich ceumanna.

11 Agus ghlaodh Isaiah am fàidh ris an Tighearna, agus thug e air ais an dubhar deich ceumanna, a chaidh e sìos[b] air ceumannaibh Ahais[c].

12 San àm sin chuir Berodach-baladan[d] mac Bhaladain, righ Bhabiloin, *teachdairean le* litrichibh agus tiodhlacadh gu Heseciah: oir chual e gu'n robh Heseciah tinn.

13 Agus rinn Heseciah gairdeachas os an cionn[e], agus dh'fheuch e dhoibh uile thigh-tasgaidh a nithe luachmhor, an t-airgiod, agus an t-òr, agus na spìosraidh, agus an ola luachmhor, agus a thigh armachd, agus na nithean uile a fhuaradh na ionmhasaibh: cha robh ni na thigh, no na rìoghachd uile, nach d'fheuch Heseciah dhoibh.

14 An sin thàinig Isaiah am fàidh gu righ Heseciah, agus thubhairt e ris, Ciod a thubhairt na daoine so? agus cia as a thàinig iad a't' ionnsuidh? agus thubhairt Heseciah, Thàinig iad o thìr chéin, o Bhabilon.

15 Agus thubhairt e, Ciod a chunnaic iad a'd' thigh? Agus fhreagair Heseciah, Na h-uile *nithe* a *ta* m' thigh chunnaic iad: cha 'n'eil ni ann am ionmhasaibh nach d'fheuch mi dhoibh.

16 Agus thubhairt Isaiah ri Heseciah, Eisd-si focal an Tighearna.

17 Feuch, tha na laithean a' teachd, anns am bi na h-uile *nithe* a *tha* ann ad thigh, agus na h-ionmhasan a thaisg t'aithriche suas gus an la'n diugh, air an giùlan gu Babilon: cha'n fhàgar ni air bith, ars' an Tighearna.

18 Agus *cuid* do d' mhacaibh a thig uait, a ghineas tu, bheir iad leo, agus bithidh iad nan caillteanaich ann an lùchairt righ Bhabiloin.

19 An sin thubhairt Heseciah ri Isaiah, *Is* maith focal an Tighearn a labhair thu: thubhairt e mar an ceudna, Nach *maith*, ma bhios sìth agus fìrinn a'm' laithibh-sa?

20 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Heseciah, agus a thréine uile, agus mar a rinn e lochan[f], agus sruthchlais, agus a thug e uisge steach do'n bhaile, nach '*eil* iad sgrìobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Iudah?

21 Agus choidil Heseciah maille r'a aithrichibh: agus rìoghaich Manaseh e mhac na àit.

C A I B. XXI.

DA bhliadhna dheug a dh'aois bha Manaseh 'nuair a thòisich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e cùig bliadhna deug agus dà fhichead ann an Ierusalem: agus *b'e* ainm a mhàthar Hephsibah.

2 Agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna, a réir ghràinealachd nan cinneach, a thilg an Tighearna mach roimh chloinn Israeil.

3 Oir thog e suas a rìs na h-àitean arda a sgrios Heseciah 'athair, agus chuir e suas altairean do Bhaal, agus rinn e doire, mar a rinn Ahab righ Israeil, agus shleuchd e do uile armailt nèimh, agus rinn e seirbhis doibh.

4 Agus thog e altairean ann an tigh an Tighearna, mu'n dubhairt an Tighearna, Ann an Ierusalem cuiridh mi m'ainm.

5 Agus thog e altairean do uile armailt nèimh, ann an dà chùirt tighe an Tighearna.

6 Agus thug e air a mhac dol troimh 'n teine, agus thug e fa'near amanna, agus ghnàthaich e druidheachd, agus chuir e air chois leannainshìth, agus luchd fiosachd: dh'oibrich e mòr aingidheachd ann an sùilibh an Tighearna, g'a bhrosnachadh gu féirg.

7 Agus chuir e dealbh snaidhte an doire a rinn e, anns an tigh mu'n

dubhairt

[a] *air aghaidh.* [b] *air aghaidh.* [c] *uaireadair-greine Ahais.*
[d] *Merodach-baladan.* Isaiah. Caib. XXXIX. r. 1. [e] *dh'éisd Heseciah riu.*
Faic Isaiah. Caib. XXXIX. r. 2. [f] *poll-éisg.*

dubhairt an Tighearna ri Daibhidh, agus ri Solamh a mhac, Anns an tigh so, agus ann an Ierusalem, a thagh mi a uile threubhaibh Israeil, cuiridh mi m'ainm gu bràth.

8 Cha mhò a bheir mi air cosaibh Israeil caruchadh[a] tuilleadh a mach as an fhearann a thug mi d'an aithrichibh; a mhàin ma bheir iad an aire gu'n dean iad a réir nan uile *nithe* a dh'àithn mise dhoibh, agus a réir an lagha uile a dh'àithn m'òglach Maois dhoibh.

9 Ach cha d'éisd iad: agus tharraing Manaseh iad gu tuilleadh uilc a dheanamh na rinn na cinnich, a sgrios an Tighearna roimh chloinn Israeil.

10 Agus labhair an Tighearna le 'sheirbhisich[b] na fàidhean, ag ràdh,

11 A chionn gu'n d'rinn Manaseh righ Iudah na gràinealachda so, *agus* gu'n d'rinn e ni's measa na na h-uile *nithe* a rinn na h-Amoraich a *bha* roimhe, agus gu'n d'thug e air Iudah mar an ceudna peacachadh le iodholaibh:

12 Uime sin mar so tha'n Tighearna Dia Israeil ag ràdh, Feuch, *tha* mi tabhairt uilc air Ierusalem agus Iudah, a bheir air gach neach a chluinneas e, gu'm bi gaoir[c] na dhà chluais.

13 Agus sìnidh mi mach os cionn Ierusaleim sreang-thomhais Shamaria, agus sreang-riaghailt[d] tighe Ahaib: agus glanaidh mi as Ierusalem mar a ghlanas *neach* soitheach, g'a ghlanadh, agus a' tionndadh a bheoil suidh[e].

14 Agus tréigidh mi fuigheall m'oighreachd, agus bheir mi iad do làimh an naimhdean, agus bithidh iad nan creich agus nan cobhartach d'an naimhdibh uile;

15 A chionn gu'n d'rinn iad olc a'm' shùilibh, agus gu'n do bhrosnaich iad mi gu féirg o'n là san d'thàinig an aithriche mach as an Eiphit, eadhon gus an la 'n diugh.

16 Os bàrr, dhòirt Manaseh fuil neo-chiontach gu ro-mhòr, gus an do lion e Ierusalem o cheann gu ceann, a thuilleadh air a pheacadh féin leis an d'thug e air Iudah peacachadh, le olc a dheanamh ann an sùilibh an Tighearna.

17 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Mhanaseh, agus na h-uile *nithe* a rinn e, agus a pheacadh a rinn[f] e, nach '*eil* iad scrìobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Iudah?

18 Agus choidil Manaseh maille r'a aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh e ann an lios a thighe féin, ann an lios Udsa: agus rìoghaich Amon a mhac na àit.

19 Dà bhliadhna thar fhichead a dh'aois *bha* Amon an uair a thòisich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e dà bhliadhna ann an Ierusalem: agus *b'e* ainm a mhàthar Mesulemet, nighean Haruis o Iotbah.

20 Agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna, mar a rinn Manaseh 'athair.

21 Agus dh'imich e anns an uile shlighe san d'imich 'athair, agus rinn e seirbhis do na h iodholaibh d'an d'rinn 'athair seirbhis, agus rinn e aoradh dhoibh:

22 Agus thréig e 'n Tighearna Dia 'aithriche, agus cha do ghluais e ann an slighe an Tighearna.

23 Agus rinn seirbhisich Amoin ceannairc na aghaidh, agus mharbh iad an righ na thigh féin.

24 Agus mharbh[g] sluagh na tìre iadsan uile a rinn ceannairc an aghaidh righ Amoin, agus rinn sluagh na tìre Iosiah a mhac na righ na àit.

25 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Amoin a rinn e, nach '*eil* iad scrìobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Iudah?

26 Agus dh'adhlaic iad e na uaigh féin ann an lios Udsa: agus rìoghaich Iosiah a mhac na àit.

C A I B. XXII.

OCHD bliadhna dh'aois *bha* Iosiah 'nuair a thòisich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e aon bhliadhna deug thar fhichead ann an Ierusalem: agus *b'e* ainm a mhàthar Iedidah, nighean Adaiah o Bhoscat.

2 Agus rinn e an *ni a bha* ceart ann an sùilibh an Tighearna, agus dh'imich e ann an uile shlighe Dhaibhidh

[a] *corrochadh.* Eir. [b] *le làimhe a sheirbhiseach.* Eabh. [c] *glaoim.* [d] *cuidthrom.* Eabh. [e] *sìos.* [f] *pheacaich.* Eabh. [g] *bhuail.*

idh 'athar, agus cha do chlaon e dh'ionnsuidh na làimhe deise no na làimhe clìthe.

3 Agus anns an ochdamh bliadhna deug do righ Iosiah, chuir an righ Saphan mac Asaliah, mhic Mheshullaim, an scrìobhuiche, do thigh an Tighearn, ag ràdh,

4 Falbh suas gu Hilciah an t-ard shagart, chum gu'n àireamh e an t-airgiod a thugadh do thigh an Tighearna, a chruinnich luchd-gleidhidh an doruis o'n t-sluagh:

5 Agus thugadh iad e do làimh luchd deanamh na h-oibre, dhoibhsan a tha os cionn tighe[a] an Tighearna: agus thugadh iadsan e do luchd deanamh na h-oibre, a *tha* ann an tigh an Tighearna, a chàradh brisidh an tighe;

6 Do shaoraibh, agus do luchd togail, agus do chlachairibh, agus a cheannach fiodha, agus chlach snaidhte, a chàradh an tighe.

7 Gidheadh, cha d'rinneadh cunntas riu thaobh an airgid a thugadh d'an làimh, a chionn gu'n d'rinn iad gu h ionraic.

8 Agus thubhairt Hilciah an t-ard shagart ri Saphan an scrìobhuiche, Fhuair mi leabhar an lagha ann an tigh an Tighearna: agus thug Hilciah an leabhar do Shaphan, agus leugh se e.

9 Agus thàinig Saphan an scrìobhuiche dh'ionnsuidh an righ, agus dh'aithris e 'n gnothuch do'n righ, agus thubhairt e, Chruinnich do sheirbhisich an t-airgiod a fhuaradh anns an tigh, agus thug iad e do làimh luchd deanamh na h-oibre, a bha os cionn tighe an Tighearna.

10 Agus dh'innis Saphan an scrìobhuiche do'n righ, ag ràdh, Thug Hilciah an sagart leabhar dhomh: agus leugh Saphan e an làthair an righ.

11 Agus an uair a chual an righ briathra leabhair an lagha, reub e 'eudach.

12 Agus dh'àithn an righ do Hilciah an sagart, agus do Ahicam mac Shaphain, agus do Achbor mac Mhicaiah, agus do Shaphan an scrìobhuiche, agus do Asahiah seirbhiseach an righ, ag ràdh,

13 Rachaibh, fiosraichibh do'n Tighearn air mo shon-sa, agus air son an t-sluaigh, agus air son Iudah uile, thaobh bhriathran an leabhair so a fhuaradh: oir is mòr fearg an Tighearn a tha air lasadh 'nar n-aghaidh, a chionn nach d'éisd ar n-aithriche ri briathraibh an leabhair so, a dheanamh a réir *gach ni* a ta scrìobhta d'ar taobh.

14 Uime sin chaidh Hilciah an sagart, agus Ahicam, agus Achbor, agus Saphan, agus Asahiah, dh'ionnsuidh Huldah a' bhan-fhàidh, mnà Shaluim mhic Thicbhah, mhic Harhais fir-gleidhidh an eudaich, (a nis *bha* i chòmhnuidh ann an Ierusalem anns an oil-thigh[b]) agus labhair iad ria.

15 Agus thubhairt i riu, Mar so tha'n Tighearna Dia Israeil ag ràdh, Innsibh do'n duine a chuir a'm' ionnsuidh-sa sibh,

16 Mar so tha'n Tighearn ag ràdh, Feuch bheir mise olc air an àite so, agus air a luchd-àiteachaidh, *eadhon* uile bhriathran an leabhair a leugh righ Iudah.

17 A chionn gu'n do thréig iad mise, agus gu'n do loisg iad tùis do dhéibh eile, chum mo bhrosnachadh gu corruich le uile oibribh an làmh: uime sin lasaidh m'fhearg an aghaidh an àite so, agus cha mhùchar i.

18 Ach ri righ Iudah a chuir sibh a dh'fhiosrachadh do'n Tighearna, mar so their sibh ris, Mar so tha'n Tighearna Dia Israeil ag ràdh, *A thaobh* nam briathran a chual thu,

19 A chionn gu'n robh do chridhe tiom[c], agus gu'n d'irislich thu thu féin an làthair an Tighearna, 'nuair a chual thu ciod a labhair mise 'n aghaidh an àite so, agus an aghaidh a luchd àiteachaidh, gu'm biodh iad nam fàsach, agus nam mallachadh, agus *gu'n do* reub thu t'eudach, agus *gu'n do* ghuil thu a'm' fhianuis; chuala mise mar an ceudna *thusa*, ars' an Tighearna.

20 Feuch uime sin, cruinnichidh mise thu chum t'aithriche, agus cruinnichear thu do d' uaigh an sìth, agus

[a] *os cionn* na h oibre *ann an tigh*.

[c] *maoth*.

[b] *tigh an fhòghluim; misena*. Eabh.

agus cha 'n fhaic do shùilean an t-olc sin uile a bheir mise air an àite so. Agus thug iad sios a rìs a dh'ionnsuidh an righ.

CAIB. XXIII.

AGUS chuir an righ *teachdairean uaith*, agus chruinnich d'a ionnsuidh uile sheanairean Iudah, agus Ierusaleim.

2 Agus chaidh an righ suas do thigh an Tighearna, agus daoine Iudah uile, agus uile luchd-àiteachaidh Ierusaleim maille ris, agus na sagartan, agus na fàidhean, agus an sluagh uile eadar bheag agus mhòr[a]: agus leugh e nan éisdeachd[b] uile bhriathra leabhair a' choimhcheangail, a fhuaradh ann an tigh an Tighearna.

3 Agus sheas an righ làimh ri post, agus rinn e coimhcheangal am fianuis an Tighearna, gu'n gluaiseadh iad an déigh an Tighearna, agus gu'n gleidheadh iad 'àitheantan agus a theisteis, agus a reachdan le'*n* uile chridhe, agus le'*n* uile anam, a choimhlionadh bhriathra a' choimhcheangail so, *a ta* sgriobhta san leabhar so: agus sheas an sluagh uile ris a' choimhcheangal.

4 Agus dh'àithn an righ do Hilciah an t-ard shagart, agus do shagartaibh an dara *orduigh*, agus do luchd-gleidhidh an doruis, na soithichean uile a rinneadh do Bhaal, agus do'n doire[c], agus do uile armailt nèimh, a thoirt a mach a teampull an Tighearna: agus loisg e iad an taobh a muigh do Ierusalem ann am machairibh Chidroin, agus ghiùlain e'n luath gu Betel.

5 Agus chuir e as do shagartaibh an iodhol-aoraidh, a dh'orduich righrean Iudah a losgadh tùis anns na h-àitibh arda, ann am mòr-bhailtibh Iudah, agus anns na h-àitibh mu thimchioll Ierusaleim; iadsan mar an ceudna a loisg tùis do Bhaal, do'n ghréin, agus do'n ghealaich, agus do na reultaibh seachranach, agus do uile armailt nèimh.

6 Agus thug e 'n doire[d] o thigh an Tighearna, an taobh a mach do Ierusalem, gu sruth Chidroin, agus loisg se e aig sruth Chidroin, agus mhìnphronn e gu luaithre e, agus thilg e a luaithre air uaighibh cloinne an t-sluaigh.

7 Agus bhris e sìos tighean nan Sodomach a *bha* làimh ri tigh an Tighearna, far an robh na mnài a' figheadh chùirteine[e] do'n doire.

8 Agus thug e mach na sagairt uile a bailtibh Iudah, agus thruaill[f] e na h-àitean ard far an do loisg na sagairt tùis, o Gheba gu Beer-seba, agus bhris e sìos àitean arda nan geata, a *bha* ann an dol a stigh geataidh Iosua uachdarain a' bhaile, a *bha* air làimh chli duine ann an geatadh a' bhaile.

9 Gidheadh, cha deachaidh sagairt nan àit arda suas gu altair an Tighearn ann an Ierusalem, ach dh'ith iad aran neo-ghoirtichte am measg am bràithre.

10 Agus thruaill e Tophet a *tha* ann an gleann mhic[g] Hinnoim, a chum as nach feudadh duine air bith toirt air a mhac no air a nighinn dol troimh'n teine do Mholech.

11 Agus thug e air falbh na h-eich a thug righrean Iudah do'n ghréin, o dhol a steach tighe an Tighearna, làimh ri seòmar[h] Natan-meleich a' chaillteanaich, a *bha* sa' mhachbhaile[i], agus loisg e carbada na gréine le teine.

12 Agus na h-altairean a *bha* air mullach seòmair uachdaraich Ahais, a rinn righrean Iudah, agus na h-altairean a rinn Manaseh ann an dà chùirt tighe an Tighearna, thilg an righ sìos, agus bhris e o sin *iad*[k], agus thilg e 'n luaithre ann an sruth Chidroin.

13 Agus na h-àitean arda a *bha* fa chomhair Ierusaleim, a *bh'*air an làimh dheis do shliabh na truaillidheachd[l], a thog Solamh righ Israeil do Astarot gràinealachd nan Sidonach, agus do Chemos gràinealachd nam Moabach,

---

[a] *o'n bheag gus a' mhòr*. Eabh. [b] *cluasaibh*. Eabh. [c] *do* iodhol *an doire; asherah*. Eabh. [d] dealbh snaidhte *an doire; asherah*. Eabh. Faic. Caib. XXI. r. 7. [e] *bhùthan*. [f] *shalaich*. [g] *chloinn*. [h] *tigh, àite-còmhnuidh*. [i] *Pharurim*. Eabh. [k] *ruith e leo as sin*. [l] *shliabh nan olaidh*.

Moabach, agus do Mhilcom gràinealachd chloinn Amoin, thruaill an righ.

14 Agus bhris e nam bloighdibh na dealbhan, agus ghearr e sios na doireachan, agus lìon e 'n àitean le cnàmhaibh dhaoine.

15 Os bàrr, an altair a bh'aig Betel, agus an t-àit ard a rinn Ieroboam mac Nebait, a thug air Israel peacachadh, araon an altair agus an t-àit ard bhris e sios, agus loisg e 'n t-àit ard; *agus* mhìn-phronn e gu luaithre *e*, agus loisg e 'n doire.

16 Agus an uair a thionndaidh Iosiah mu'n cuairt, chunnaic e na h-uaighean a *bha* 'n sin san t-sliabh, agus chuir e *daoine* uaith, agus thug e na cnàmhan as na h-uaighibh, agus loisg e *iad* air an altair agus thruaill e i, a réir focail an Tighearna, a labhair òglach Dhé [a] a chuir an céill na briathra so.

17 An sin thubhairt e, Ciod e an carragh [b] so a *tha* mi faicinn? Agus thubhairt daoine a' bhaile ris, *Is i* uaigh òglaich Dhé a th'ann, a thàinig o Iudah, agus a chuir an céill [c] na nithe sin a rinn thusa an aghaidh altarach Bheteil.

18 Agus thubhairt e, Leigibh leis, na gluaiseadh duine sam bith a chnàmha-san: agus leig iad tàmh d'a chnàmhaibh maille ri cnàmhaibh an fhàidh a thàinig a Samaria.

19 Agus mar an ceudna uile thighean nan àitean ard a *bha* ann am bailtibh Shamaria, a rinn righrean Israeil a bhrosnachadh *an Tighearna* gu feirg, thug Iosiah air falbh, agus rinn e riu a réir nan uile ghnìomh a rinn e ann am Betel.

20 Agus mharbh e uile shagairt nan àitean ard a *bha* 'n sin air na h-altairibh, agus loisg e cnàmhan dhaoine orra, agus phill e gu h-Ierusalem.

21 Agus dh'àithn an righ do'n t-sluagh uile, ag ràdh, Cumaibh a' chàisg do'n Tighearna bhur Dia, mar *a ta e* sgriobhta ann an leabhar a' choimhcheangail so.

22 Gu cinnteach cha do chumadh a leithid so do chàisg, o laithibh nam breitheamh a thug breth air Israel, no ann an uile laithibh righrean Israeil, no righrean Iudah:

23 Ach anns an ochdamh bliadhna deug do righ Iosiah, chumadh a' chàisg so do'n Tighearn, ann an Ierusalem.

24 Os bàrr, na leannain-shìth, agus an luchd-fiosachd, agus na dealbhan, agus na h-iodholan, agus gach uile ghràinealachd a chunncas ann an tìr Iudah, agus ann an Ierusalem, chuir Iosiah air falbh, a chum gu'n coimhlionadh e briathran an lagha, a bha sgriobhta san leabhar a fhuair Hilciah an sagart ann an tigh an Tighearna.

25 Agus cosmhuil ris-san cha robh righ air bith roimhe, a phill a dh'ionnsuidh an Tighearna le 'uile chridhe, agus le 'uile anam, agus le 'uile neart, a réir lagha Mhaois uile; agus na dhéigh cha d'éirich a shamhuil.

26 Gidheadh, cha do phill an Tighearn o theas 'fheirge mòire, leis an do las 'fhearg an aghaidh Iudah, air son nan uile bhròsnachadh [d] leis an do bhrosnaich Manaseh e.

27 Agus thubhairt an Tighearna, Atharraichidh mi Iudah mar an ceudna as mo shealladh, mar a dh'atharraich mi Israel, agus cuiridh mi cùl gu tur ris a' mhòr-bhaile so Ierusalem, a thagh mi, agus ris an tigh mu'n dubhairt mi, Bithidh m'ainm an sin.

28 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Iosiah, agus na h-uile *nithe* a rinn e, nach '*eil* iad sgriobhta ann an leabhar eachdraidh righrean Iudah?

29 Na laithibh-san chaidh Pharaoh-necho righ na h-Eiphit suas an aghaidh righ Asiria gu abhuinn Euphrates: agus chaidh righ Iosiah na aghaidh, agus mharbh esan e aig Megido nuair a chunnaic se e.

30 Agus ghiùlain a sheirbhisich e marbh [e] ann an carbad o Mhegido, agus thug iad e gu h-Ierusalem, agus dh'adhlaic iad e na uaigh féin: agus ghabh sluagh na tìre Iehoahas mac Iosiah,

[a] *a labhair òglach Dhé* ['nuair a sheas Ieroboam air là na féill air an altair. Agus an uair a thionndaidh e mu'n cuairt, thog e suas a shùilean air uaigh] *òglaich Dhé.* [b] *comhara, sgriobhadh.* [c] *a ghairm.* [d] *phrosnachadh.* [e] *'nuair a bha e faghail a' bhàis.*

fiah, agus dh'ung iad e, agus rinn iad na righ e an àit 'athar.

31 Tri bliadhna fichead a dh'aois *bha* Iehoahas an uair a thòisich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e tri miosan ann an Ierusalem: agus *b'e* ainm a mhàthar Hamutal, nighean Ieremiah o Librah.

32 Agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna, a réir nan uile *nithe* a rinn 'aithriche.

33 Agus chuir Pharaoh-necho e ann an cuibhreachaibh aig Riblah, ann an tìr Hamait, a chum nach rìoghaicheadh e ann an Ierusalem, agus chuir e ceud tàlann airgid, agus tàlann òir, mar chìs air an tìr.

34 Agus rinn Pharaoh-necho Eliacim mac Iosiah na righ an àit Iosiah 'athar, agus thionndaidh e 'ainm gu Iehoiacim, agus thug e air falbh Iehoahas, agus thàinig e do'n Eiphit, agus dh'eug e an sin.

35 Agus thug Iehoiacim an t-airgiod agus an t-òr do Pharaoh: ach thug e fa'near an tìr a mheas a chum gu'n ìocadh iad an t-airgiod a réir àithne Pharaoih; dh'iarr e 'n t-airgiod agus an t-òr o shluagh na tìre, o gach neach a réir a mheas, gus a thabhairt do Pharaoh-necho.

36 Cùig bliadhna fichead a dh'aois *bha* Iehoiacim an uair a thòisich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e aon bhliadhna deug ann an Ierusalem; agus *b'e* ainm a mhàthar Sebudah, nighean Phedaiah a Rumah.

37 Agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna, a réir nan uile *nithe* a rinn 'aithriche.

CAIB. XXIV.

NA laithibh-san thàinig Nebuchadnesar righ Bhabiloin a nios, agus bha Iehoiacim na sheirbhiseach aige tri bliadhna: an sin philì e agus rinn e ceannairc na aghaidh.

2 Agus chuir an Tighearna na aghaidh buidhnean do na Caldeanaich, agus buidhnean do na Sirianaich, agus buidhnean do na Moabaich, agus buidhnean do chloinn Amoin, agus chuir e iad an aghaidh Iudah g'a sgrios, a réir focail an Tighearn, a labhair e le 'sheirbhisich[a] na fàidhean.

3 Gu cinnteach air àithne an Tighearna thàinig *fa* air Iudah, chum *an* atharrachadh as a shealladh air son pheacanna Mhanaseh, a réir nan uile *nithe* a rinn e:

4 Agus mar an ceudna air son na fola neo-chiontaich a dhòirt e; oir lìon e Ierusalem le fuil neo-chionntaich, nach maitheadh an Tighearna.

5 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Iehoiacim, agus na h-uile *nithe* a rinn e, nach *'eil* iad sgrìobhta ann an leabhar eachdraidh rìghrean Iudah?

6 Agus choidil Iehoiacim maille r'a aithrichibh: agus rìoghaich Iehoiachin a mhac na àit.

7 Agus cha d'thàinig righ na h-Eiphit ni's mò as a thìr féin: oir ghlac righ Bhabiloin o abhuinn na h-Eiphit gus an abhuinn Euphrates, gach ni bu le righ na h-Eiphit.

8 Ochd bliadhna deug a dh'aois bha Iehoiachin an uair a thòisich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e ann an Ierusalem tri mìosan: agus *b'e* ainm a mhàthar Nehusta, nighean Elnatain o Ierusalem.

9 Agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna, a réir nan uile *nithe* a rinn 'athair.

10 Anns an àm sin thàinig seirbhisich Nebuchadnesair righ Bhabiloin a nìos an aghaidh Ierusaleim, agus theannaicheadh am baile.

11 Agus thàinig Nebuchadnesar righ Bhabiloin an aghaidh a' bhaile, agus theannaich a sheirbhisich e.

12 Agus chaidh Iehoiachin righ Iudah a mach a dh'ionnsuidh righ Bhabiloin, e féin, agus a mhàthair, agus a sheirbhisich agus a cheannardan[b], agus a chaillteanaich[c]: agus ghlac righ Bhabiloin e san ochdamh bliadhna d'a rìoghachadh.

13 Agus thug e mach as sin uile ionmhais tighe an Tighearna, agus ionmhais tighe an righ, agus ghearr e nam bloighdibh na soithichean òir uile a rinn Solamh righ Israeil ann an teampull

[a] *le làimh a sheirbhiseacha.* Eabh. mòra.
[b] *uachdarain, a mhaithean, a dhaoine*
[c] *luchd-dreuchd.*

teampull an Tighearna, mar a labhair an Tighearna.

14 Agus thug e leis Ierusalem uile, agus na ceannardan uile, agus na daoine treun uile, deich mìle do bhraighdibh, agus an luchd-ceirde uile, agus na goibhna[a]: cha d'fhan a h-aon ach bochdan sluaigh na tìre.

15 Agus thug e leis Iehoiachin do Bhabilon, agus màthair an righ, agus mnài an righ, agus a chailltean-aich, agus daoine cumhachdach na tìre, *iad sin* thug e leis am braigh-deanas, o Ierusalem do Bhabilon:

16 Agus na daoine gaisgeil uile, seachd mìle, agus an luchd-ceirde agus na goibhnean, mìle, iadsan uile a bha comasach *agus* a dheanadh cogadh, eadhon iadsan thug righ Bhabiloin am braighdeanas leis do Bhabilon.

17 Agus rinn righ Bhabiloin Mat-aniah bràthair 'athar na righ na àit, agus thionndaidh e 'ainm gu Sedeciah.

18 Bliadhna thar fhichead a dh'aois *bha* Sedeciah 'nuair a thòisich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e aon bhliadhna deug ann an Ierusalem: agus *b'e* ainm a mhàthar Hamutal, nighean Ieremiah o Libnah.

19 Agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna, a réir nan uile *nithe* a rinn Iehoiacim.

20 Oir tre[b] chorruich an Tighearna bha e *mar sin* ann an Ierusalem agus ann an Iudah, gus an do thilg e as a làthair iad: agus rinn Sedeciah ceannairc an aghaidh righ Bhabiloin.

C A I B. XXV.

AGUS anns an naothadh bliadhna d'a rìoghachadh, san deich-eamh mìos, air an deicheamh *là* do'n mhìos, thàinig Nebuchadnesar righ Bhabiloin, e féin agus 'armailt uile, an aghaidh Ierusaleim, agus champaich e na h-aghaidh, agus thog iad daingnichean[c] na h-aghaidh mu'n cuairt.

2 Agus bha am baile air a theann-achadh gus an aon bhliadhna deug do righ Shedeciah.

3 Agus air an naothadh *là* do'n *cheathramh* mìos, bhuadhaich a' ghorta sa' bhaile, agus cha robh aran ann do shluagh na tìre.

4 Agus bhriseadh sìos am baile, agus theich na fir chogaidh uile san oidhche, air slighe a' gheataidh, eadar an dà bhalladh, a *tha* làimh ri lios an righ, (a nis *bha* na Caldeanich an aghaidh a' bhaile mu'n cuairt) agus dh'imich iad[d] air an t-slighe dh'ionn-suidh a' chòmhnaird.

5 Agus lean armailt nan Caldean-ach an righ, agus rug iad air ann an còmhnardaibh Iericho: agus sgapadh 'armailt uile uaith.

6 Mar sin ghlac iad an righ, agus thug iad suas e dh'ionnsuidh righ Bhabiloin, gu Riblah; agus thug esan[e] breth air.

7 Agus mharbh e[f] mic Shedeciah fa chomhair a shùl, agus chuir e a shùilean e Sedeciah, agus cheangail se e le geimhlibh[g] umha, agus thug e leis e do Bhabilon[h].

8 Agus anns a' chùigeamh mìos, air an t-seachdamh *là* do'n mhìos (*b'i* sin an naothadh bliadhna deug do righ Nebuchadnesar, righ Bhabiloin) thàinig Nebusar-adan ceannard an fhreiceadain, seirbhiseach righ Bhab-iloin, gu h-Ierusalem:

9 Agus loisg e tigh an Tighearna, agus tigh an righ, agus tighean Ierusaleim uile; agus gach uile thigh mòr loisg e le teine.

10 Agus leag uile armailt nan Caldeanach, a *bha* maille ri ceannard an fhreiceadain, sìos ballacha Ierusa-leim mu'n cuairt.

11 Agus a' chuid eile do'n t-sluagh a dh'fhàgadh sa' bhaile, agus an luchd-teichidh a chaidh thairis gu righ Bhabiloin, maille ri fuigheall an t-sluaigh, thug Nebusar-adan ceann-ard an fhreiceadain air falbh leis.

12 Ach dh'fhàg ceannard an fhreic-eadain cuid do bhochdaibh na tìre, *gu bhi* nan luchd-deasachaidh fhìonaiean agus nan treabhaichibh[i].

13 Agus na puist umha a *bha* ann an

[a] *gaibhne.* [b] *troimh, trid.* [c] *tùir.* [d] *dh'imich* an righ. [e] *iad.* [f] *iad.* [g] *slabhraidhibh.* [h] Faic Ieremiah. Caib. XXXIX. r. 6. 7. [i] *tuathanaich.*

an tigh an Tighearna, agus na buinn, agus an fhairge umha a *bha* ann an tigh an Tighearna, bhris na Caldeanaich nam bloighdibh, agus thug iad leo an umha do Bhabilon.

14 Agus na poitean, agus na sluasaidean, agus na smàladairean, agus na spàinean, agus na soithichean umha uile leis an d'rinn iad fritheALadh, thug iad leo.

15 Agus na h-aighnean teine [a], agus na cuachan, *na nithe* a *bha* do òr *na* òr, agus a *bha* do airgiod *na* airgiod, thug ceannard an fhreiceadain air falbh.

16 Dà phost, aon fhairge, agus na buinn a rinn Solamh air son tighe an Tighearna, bha umha nan soithiche sin uile gun tomhas :

17 Ochd làmha-coille deug airde aon phuist, agus an ceann-mullaich *a bh*'air do umha, agus airde a' chinnmhullaich tri làmha-coille: agus an lionobair, ag na pomgranatan air a' cheann-mhullaich mu'n cuairt, iad sin uile do umha: agus an leithide sin *bha* aig an dara post, maille ri lionobair.

18 Agus ghlac ceannard an fhreiceadain Seraiah an t-ard shagart, agus Sephaniah an dara sagart, agus na tri dorsairean.

19 Agus as a' bhaile thug e aon chaillteanach, a *bha* os cionn nam fear cogaidh, agus cùignear[b] fhear dhiubhsan a bha 'n làthair an righ, a fhuaradh sa' bhaile, agus ard sgriobhuiche na h-armailt, a bha 'g iunnsachadh cogaidh do shluagh na tire [c], agus tri fichead fear do shluagh na tìre a fhuaradh sa' bhaile.

20 Agus ghlac Nebusar-adan ceannard an fhreiceadain iad sin, agus thug e iad gu righ Bhabiloin do Riblah.

21 Agus bhuail righ Bhabiloin iad, agus mharbh e iad aig Riblah ann an tìr Hamait Agus thugadh Iudah air falbh as an tìr *féin*.

22 Agus *os cionn* an t-sluaigh a dh'fhàgadh ann an tìr Iudah, a dh'fhàg Nebuchadnesar righ Bhabiloin, eadhon os an cionn-san chuir e Gedaliah mac Ahicaim, mhic Shaphain.

23 Agus an uair a chual uile cheannarda nan armailt, iad féin agus an daoine, gu'n do rinn righ Bhabiloin Gedaliah na uachdaran, thàinig gu Gedaliah do Mhispah, eadhon Ismael mac Netaniah, agus Iohanan mac Chareah, agus Seraiah mac Thanhumeit an Netophatach, agus Iaasaniah mac Mhaachataich, iad féin agus an daoine.

24 Agus mhionnaich Gedaliah dhoibh, agus d'an daoinibh, agus thubhairt e riu, Na biodh eagal oirbh a bhi 'nar seirbhisich do na Caldeanaich: gabhaibh còmhnuidh san tìr, agus deanaibh seirbhis do righ Bhabiloin, agus éiridh gu maith dhuibh.

25 Ach anns an t-seachdamh mìos, thàinig Ismael mac Netaniah, mhic Elisamah do'n t-sliochd rìoghail, agus deichnear fhear maille ris, agus bhuail iad Gedaliah air chor as gu'n d'eug e, agus na h-Iudhaich agus na Caldeanaich a bha maille ris aig Mispah.

26 Agus dh'éirich an sluagh uile eadar bheag agus mhòr, agus ceannarda nan armailt, agus thàinig iad do'n Eiphit: oir bha eagal nan Caldeanach orra.

27 Ach anns an t-seachdamh bliadhna deug thar fhichead do bhraighdeanas Iehoiachin righ Iudah, anns an dara mìos deug, air an t-seachdamh *la* fichead do'n mhìos, thog Ebhilmerodach righ Bhabiloin, air a' bhliadhna anns an do thòisich e air rìoghachadh, suas ceann Iehoiachin righ Iudah a prìosun[d].

28 Agus labhair e gu caoimhneil ris, agus chuir e suas a righ-chaithir os cionn righ-chaithir nan righ, a *bha* maille ris ann am Babilon.

29 Agus mhùth e 'eudach-prìosuin, agus dh'ith e aran a ghnàth na làthair rè uile làithean a bheatha.

30 Agus *bu* chuibhrionn ghnàthaichte a chuibhrionn a thugadh dha o'n righ, cuid laitheil fa chomhair gach là, rè uile làithean a bheatha.

[a] *tuisirean.* [b] *cùigear.* [c] *a thairngeadh suas, a ghabhadh àireamh sluaigh na tìre.* [d] *a tigh a' phrìosuin.* Eabh.

Ceud

Ceud Leabhar nan EACHDRAIDH.

CAIB. I.

ADHAMH, Set, Enos,
2 Cenan, Mahaleel, Iered,
3 Henoch, Metuſelah, Lamech,
4 Noah. Sem, Ham agus Iaphet.
5 Mic Iaphet; Gomer, agus
Magog, agus Madai, agus Iabhan, a-
gus Tubal, agus Meſech, agus Tiras.
6 Agus mic Ghomeir; Aſchenas,
agus Riphat, agus Togarmah.
7 Agus mic Iabhain; Eliſah, agus
Tarſis, Citim, agus Dodanim.
8 Mic Ham; Cus, agus Miſraim,
agus Phut, agus Canaan.
9 Agus mic Chuis; Seba, agus
Habhilah, agus Sabta, agus Raamah,
agus Sabtecha: agus mic Raamah;
Seba agus Dedan.
10 Agus ghin Cus Nimrod: thòiſich
eſan air a bhi cumhachdach air an
talamh.
11 Agus ghin Miſraim na Lud-
aich [a] agus na h-Anamaich, agus na
Lehabaich, agus na Naphtuhaich,
12 Agus na Patruſaich, agus na
Caſluhaich, (o'n d'thàinig na Philiſ-
tich) agus na Caphtoraich.
13 Agus ghin Canaan Sidon a
cheud-ghin, agus Het,
14 Agus an Iebuſach, agus an
t-Amorach, agus an Girgaſach,
15 Agus an t-Ibheach, agus an
t-Archach, agus an Sineach,
16 Agus an t-Arbhadach, agus an
Semarach, agus an t-Hamatach.
17 Mic Sheim; Elam, agus Aſur,
agus Arphacſad, agus Lud, agus
Aram; agus mic Araim Us [b], agus
Hul, agus Geter, agus Meſech.
18 Agus ghin Arphacſad Selah, a-
gus ghin Selah Eber.
19 Agus do Eber rugadh dithis
mhac: *b'e* ainm aoin diubh Peleg, a
chionn na laithibh-ſan gu'n do roinn-
eadh an talamh; agus ainm a bhràthar
Ioctan.
20 Agus ghin Ioctan Almodad, a-
gus Seleph, agus Haſarmabhet, agus
Ierah,
21 Agus Hadoram, agus Uſal, agus
Diclah,
22 Agus Ebal [c], agus Abimael, a-
gus Seba,
23 Agus Ophir, agus Habhilah, a-
gus Iobab. *B iad* ſin uile mic Ioctain.
24 Sem, Arphacſad, Selah,
25 Eber, Peleg, Reu,
26 Serug, Nahor, Terah,
27 Abram, *is* e ſin Abraham.
28 Mic Abrahaim; Iſaac agus
Iſmael.
29 *Is iad* ſo an ginealaichean:
Ceud-ghin Iſmaeil, Nebaiot; an ſin
Cedar, agus Adbeel, agus Mibſam.
30 Miſma, agus Dumah, Maſa,
Hadad, agus Tema,
31 Ietur, Naphis, agus Cedemah.
Is iad ſin mic Iſmaeil.
32 Agus mic Cheturah, coimh-
leabaich [d] Abrahaim: rug iſe Simran,
agus

[a] *Ludim.* Eabh. [b] Faic Gen. Caib. X. r. 23. [c] *Obal.*
[d] *leannain.*

agus Iocsan, agus Medan, agus Midian, agus Isbac, agus Suah. Agus mic Iocsain; Seba, agus Dedan.

33 Agus mic Mhidiain; Ephah, agus Epher, agus Henoch, agus Abida, agus Eldaah. *Is iad* sin uile mic Cheturah.

34 Agus ghin Abraham Isaac. Mic Isaaic; Esau agus Israel.

35 Mic Esau; Eliphas, Reuel, agus Ieus, agus Iaalam, agus Corah.

36 Mic Eliphais; Teman, agus Omar, Sephi, agus Gatam, agus Cenas: agus rug Timna, coimhleabach Eliphais, dha Amalec [a].

37 Mic Reueil; Nahat, Serah, Sama, agus Midsah.

38 Agus mic Sheir; Lotan, agus Sobal, agus Sibeon, agus Anah, agus Dison, agus Eser, agus Disan.

39 Agus mic Lotain; Hori, agus Homam: agus *b'i* Timna piuthar Lotain.

40 Mic Shobail; Alian, agus Manahat, agus Ebal, Sephi, agus Onam. Agus mic Shibeoin; Aiah, agus Anah.

41 Mic Anah; Dison. Agus mic Dhisoin; Amram, agus Esban, agus Itran, agus Cheran.

42 Mic Eseir; Bilhan, agus Sabhan, agus Iacan. Mic Dhisain; Us, agus Aran.

43 A nis *is iad* so na righrean a rìoghaich ann an tìr Edoim, mun do rìoghaich righ air bith os cionn chloinn Israeil; Bela mac Bheoir: agus *b'e* ainm a bhaile [b] Dinhabah.

44 Agus dh'eug Bela; agus rìoghaich Iobab, mac Sherah o Bhosrah, na àit.

45 Agus dh'eug Iobab; agus rìoghaich na àite Husam o thìr nan Temanach.

46 Agus dh'eug Husam; agus rìoghaich Hadad mac Bhedaid (a bhuail Midian ann am machair Mhoaib) na àit: agus *b'e* ainm a bhaile Abhit.

47 Agus dh'eug Hadad; agus rìoghaich Samlah o Mhasrecah na àit.

48 Agus dh'eug Samlah; agus rìoghaich Saul o Rehobot làimh ris an abhuinn na àit.

49 Agus dh'eug Saul; agus rìoghaich Baal-hanan mac Achboir na àit.

50 Agus dh'eug Baal-hanan; agus rìoghaich Hadad na àit: agus *b'e* ainm a bhaile Pau [c]; agus *b'e* ainm a mhnà Mehetabel, nighean Mhatreid, nighinn Mhesahaib.

51 Dh'eug Hadad mar an ceudna. Agus b'iad cinn-fheadhna [d] Edoim; ceann-feadhna Timna, ceann-feadhna Aluah [e] ceann-feadhna Ietet,

52 Ceann-feadhna Aholibamah, ceann-feadhna Elah, ceann-feadhna Pinon,

53 Ceann-feadhna Cenas, ceann feadhna Teman, ceann-feadhna Mibsar,

54 Ceann-feadhna Magdiel, ceann-feadhna Iram. *Is iad* sin cinn-fheadhna Edoim.

CAIB. II.

IS *iad* so mic Israeil; Reuben, Simeon, Lebhi, agus Iudah, Isachar, agus Sebulun,

2 Dan, Ioseph, agus Beniamin, Naphtali, Gad, agus Aser.

3 Mic Iudah; Er, agus Onan, agus Selah: an triuir so rugadh dha le nighinn Shuah a' Bhan-chanaanaich. Agus bha Er ceud-ghin Iudah olc ann an sùilibh an Tighearna, agus mharbh se e.

4 Agus rug Tamar a bhan-chliamhuin dha Phares agus Serah. *B'iad* uile mhic Iudah cùignear.

5 Mic Phareis; Hesron agus Hamul.

6 Agus mic Sherah; Simri, agus Etan, agus Heman, agus Calcol, agus Dara: cùignear diubh uile.

7 Agus mic Charmi; Achar, fear-buaireis [f] Israeil, a chiontaich anns an ni mhallaichte.

8 Agus mic Etain; Asariah.

9 Agus mic Hesroin, a rugadh dha; Ierahmeel, agus Ram, agus Chelubai.

10 Agus ghin Ram Aminadab agus

[a] *Cenas, agus Timna, agus Amalec.* Faic. Gen. Caib. XXXVI.
[b] *a chaithreach, a bhaile mhòir.* [c] *Pai.* [d] *ceannarda.* [e] *Aliah.*
[f] *fear-tuairgneadh.*

gus ghin Aminadab Nahson, ceannard chloinn Iudah.

11 Agus ghin Nahson Salma, agus ghin Salma Boas,

12 Agus ghin Boas Obed, agus ghin Obed Iese,

13 Agus ghin Iese a cheudghin Eliab, agus Abinadab an dara *mac*, agus Sima an treas,

14 Netaneel an ceathramh, Radai an cùigeadh,

15 Osem an seathadh, Daibhidh an seachdamh [a]:

16 Agus *b'iad* am peathraiche-san Seruiah agus Abigail. Agus mic Sheruiah; Abisai, agus Ioab, agus Asahel, triuir.

17 Agus rug Abigail Amasa: agus *b'e* athair Amasa, Ieter an t-Ismeeleach.

18 Agus ghin Caleb mac Hesroin ri Asubah a' mhnaoi, Ieriot [b]: *b'iad* so mar an ceudna a mic, Iesar, agus Sobab, agus Ardon.

19 Agus an uair a bha Asubah marbh, ghabh Caleb d'a ionnsuidh Ephrat, a rug Hur dha.

20 Agus ghin Hur Uri, agus ghin Uri Besaleel.

21 Agus na dhéigh sin chaidh Hesron a steach a dh'ionnsuidh nighinn Mhachir, athar Ghilead, agus ghabh e i 'nuair a bha e tri fichead bliadhna dh'aois, agus rug i dha Segub.

22 Agus ghin Segub Iair, aig an robh tri thar fhichead do bhailtibh mora [c] ann an tìr Ghilead.

23 Agus thug e Gesur agus Aram le bailtibh Iair uatha, maille ri Cenat agus a bhailtibh, *eadhon* tri fichead baile mòr: *bhuin* iad sin uile do mhacaibh Mhachir, athar Ghilead.

24 Agus an déigh do Hesron bàs fhaghail ann an Caleb-ephratah, an sin rug Abiah bean Hesroin Asur athair Thecoah dha.

25 Agus b'iad mic Ierahmeeil ceud-ghin Hesroin, Ram an ceud-ghin, agus Bunah, agus Oren, agus Osem, agus Ahiah.

26 Bha mar an ceudna bean eile aig Ierahmeel d'am *b*'ainm Atarah; b'ise màthair Onaim.

27 Agus b'iad mic Ram ceud-ghin Ierahmeeil, Maas, agus Iamin, agus Ecer.

28 Agus b'iad mic Onaim, Samai, agus Iada. Agus mic Shamai; Nadab agus Abisur.

29 Agus *b'e* ainm mnà Abisuir, Abihail, agus rug i dha Ahban agus Molid.

30 Agus mic Nadaib; Seled agus Apaim: ach fhuair Seled bàs gun chlann.

31 Agus mic Apaim; Isi. Agus mic Isi; Sesan. Agus mic Shesain; Ahlai.

32 Agus mic Iada bràthar Shamai; Ieter, agus Ionatan; agus fhuair Ieter bàs gun chlann.

33 Agus mic Ionatain; Pelet, agus Sasa. B'iad sin mic Ierahmeeil.

34 A nis cha robh aig Sesan mic ach nigheana: agus bha aig Sesan òglach, Eiphiteach, d'am *b*'ainm Iarha.

35 Agus thug Sesan a nighean d'a òglach Iarha na mnaoi: agus rug i dha Atai.

36 Agus ghin Atai Natan, agus ghin Natan Sabad,

37 Agus ghin Sabad Ephlal, agus ghin Ephlal Obed,

38 Agus ghin Obed Iehu, agus ghin Iehu Asariah,

39 Agus ghin Asariah Heles, agus ghin Heles Eleasah,

40 Agus ghin Eleasah Sisamai, agus ghin Sisamai Salum,

41 Agus ghin Salum Iecamiah, agus ghin Iecamiah Elisama.

42 A nis *b'iad* mic Chaleib bràthar Ierahmeeil, Mesa a cheud-ghin; *b*'esan athair Shiph; agus mic Mharesah athar Hebroin [d].

43 Agus mic Hebroin; Corah, agus Tapuah, agus Recem, agus Sema.

44 Agus ghin Sema Raham, athair Iorcoaim; agus ghin Recem Samai.

45 Agus *b'e* mac Shamai Maon: agus *b'e* Maon athair Bhet-suir.

46 Agus rug Ephah coimhleabach Chaleib Haran, agus Mosa, agus Gases; agus ghin Harah Gases.

47 Agus mic Iahdai; Regem, agus Iotam, agus Gesan, agus Pelet, agus Ephah, agus Saaph.

[a] *Elibu an seachdamh, Daibhidh an t-ochdamh.* [b] *agus Ieriot.* [c] *chaithrichibh, bhailtibh daingnichte.* [d] *agus mic* Shiph; *Maresah athair Hebroin.*

48 Rug Maachah coimhleabach Chaleib Seber agus Tirhanah.

49 Rug i mar an ceudna Saaph athair Mhadmanah, Sebhah athair Mhachbenah, agus athair Ghibeah: agus *b'i* nighean Chaleib Achſa.

50 B'iad ſo mic Chaleib mhic Huir, ceud-ghin Ephratah; Sobal athair Chiriat-iearim,

51 Salma athair Bhetlehem, Hareph athair Bhetgadeir.

52 Agus bha aig Sobal athair Chiriat-iearim mic; Haroeh, Hatſi; Hameniot [a].

53 Agus teaghlaiche Chiriat-iearim; na h-Itrich, agus na Puthich, agus na Sumataich, agus na Miſraich: uathaſan thàinig na Sareataich, agus na h-Eſtaulaich.

54 Mic Shalma; Betlehem, agus na Netophataich, Atarot, tigh Ioab, agus leth nam Manaheteach, na Soraich.

55 Agus teaghlaichean nan ſcrìobhuich a bha chòmhnuidh aig Iabes; na Tirataich, na Simeataich, *agus* na Suchataich. *Is iad* ſin na Cenich a thàinig o Hemat, athair tighe Rechaib.

CAIB. III.

ANIS b'iad ſo mic Dhaibhidh, a rugadh dha ann an Hebron: an ceud-ghin Amnon o Ahinoam a' Bhan-ieſreeleach: an dara *mac*, Daniel o Abigail a' Bhan-charmeleach:

2 An treas *mac*, Abſalom mac Mhaachah, nighinn Thalmai righ Gheſuir; an ceathramh, Adoniah mac Hagit:

3 An cùigeadh, Sephatiah o Abital: an sèathadh, Itream le Eglah a mhnaoi.

4 Rugadh an t-sèathnar *ſin* dha ann an Hebron, agus ann an ſin rìoghaich e ſeachd bliadhna agus sè mìoſan: agus ann an Ieruſalem rìoghaich e tri bliadhna deug thar fhichead.

5 Agus rugadh iad ſo dha ann an Ieruſalem; Simea, agus Sobab, agus Natan, agus Solomon, ceathrar, o Bhatſeba [b] nighinn Amieil:

6 Ibhar mar an ceudna, agus Eliſama [c], agus Eliphelet,

7 Agus Nogah, agus Nepheg, agus Iaphia,

8 Agus Eliſama, agus Eliada, agus Eliphelet [d], naonar.

9 *B'iad ſin* mic Dhaibhidh uile, a bhàrr air macaibh nan coimh-leabach, agus Tamar am piuthar.

10 Agus *b'e* mac Sholomoin Rehoboam, Abia a mhac-ſan, Aſa a mhac-ſan, Iehoſaphat a mhac-ſan,

11 Ioram a mhac-ſan, Ahaſiah a mhac-ſan, Ioas a mhac-ſan,

12 Amaſiah a mhac-ſan, Aſariah [e] a mhac-ſan, Iotam a mhac-ſan,

13 Ahas a mhac-ſan, Heſeciah a mhac-ſan, Manaſeh a mhac-ſan,

14 Amon a mhac-ſan, Ioſiah a mhac-ſan.

15 Agus *b'iad* mic Ioſiah; an ceud-ghin Iohanan, an dara *mac* Iehoiacim, an treas *mac* Sedeciah, an ceathramh Salum.

16 Agus mic Iehoiacim; Ieconiah a mhac, Sedeciah a mhac.

17 Agus mic Ieconiah; Aſir, Salatiel a mhac,

18 Agus Malchiram, agus Pedaiah, agus Senaſar, Iecamiah, Hoſama, agus Nedabiah.

19 Agus *b'iad* mic Phedaiah Serubabel, agus Simei: agus mic Sherubabel, Meſulam, agus Hananiah, agus Selomit am piuthar:

20 Agus Haſubah, agus Ohel, agus Berechiah, agus Haſadiah, Iuſabheſed, cùignear.

21 Agus mic Hananiah; Pelatiah, agus Ieſaiah a mhac-ſan, Rephaiah a mhac-ſan, Arnan a mhac-ſan, Obadiah a mhac-ſan, Sechaniah a mhac-ſan [f].

22 Agus mic Shechaniah; Semaiah: agus mic Shemaiah; Hatus agus Igeal, agus Bariah, agus Neariah, agus Saphat, sèathnar.

23 Agus mic Neariah; Elioenai, agus Heſeciah, agus Africam, triuir.

24 Agus *b'iad* mic Elioenai, Hodaiah, agus Eliaſib, agus Pelaiah, agus Acub, agus Iohanan, agus Dalaiah, agus Anani, ſeachdnar.

[a] agus *letb nam Manabeteacb.* [b] *Bbetſua.* [c] *Eliſua.* [d] *Elipbala.* [e] *Udſiab.* [f] *Pelatiab, agus Ieſaiab: mic Repbaiab, mic Arnain, mic Obadiab, mic Sbecbaniab.*

CAIB. IV.

MIC Iudah; Phares, Hesron, agus Carmi, agus Hur, agus Sobal.

2 Agus ghin Reaiah mac Shobail Iahat, agus ghin Iahat Ahumai, agus Lahad. *Is iad* sin teaghlaiche nan Soratach.

3 Agus *thàinig* iad so o athair Etaim; . Iesreel, agus Isma, agus Idbas: agus *b'e* ainm am peathar Haselelponi.

4 Agus Penuel athair Ghedoir, agus Eser athair Husah. *Is iad* sin mic Huir, ceud-ghin Ephratah, athar Bhetlehem.

5 Agus bha aig Asur athair Thecoah dà mhnaoi, Helah agus Naarah.

6 Agus rug Naarah dha Ahusam, agus Hepher, agus Temeni, agus Haahastari. *B'iad* sin mic Naarah.

7 Agus *b'iad* mic Helah, Seret, agus Iesoar, agus Etnan.

8 Agus ghin Cos Anub, agus Sobebah, agus teaghlaichean Aharheil, mhic Haruim.

9 Agus bha Iabes ni b'urramaiche na a bhràithrean: agus thug a mhàthair Iabes a dh'ainm air, ag ràdh, A chionn gu'n d'rug mi e le doilgheas.

10 Agus ghairm Iabes air Dia Israeil, ag ràdh, O gu'm beannaicheadh tu mi da rìreadh, agus gu'n cuireadh tu mo chrìochan am farsaingeachd, agus gu'm biodh do làmh leam, agus gu'n gleidheadh tu *mi* o olc, a chum nach cràidh e mi! Agus dheònaich Dia dha an ni sin a ghuidh e.

11 Agus ghin Chelub bràthair Shuah Mehir: *b'esan* athair Estoin.

12 Agus ghin Eston Betrapha, agus Paseah, agus Tehinah athair Irnahais. *Is iad* sin fir Rechah.

13 Agus mic Chenais; Otniel, agus Seraiah: agus mic Otnieil; Hatat.

14 Agus ghin Meonotai Ophrah: agus ghin Seraiah Ioab, athair *muinntir* glinne Charasaim; oir bu luchd-ceirde iad.

15 Agus mic Chaleib mhic Iephuneh; Iru, Elah, agus Naam: agus mic Elah; Cenas.

16 Agus mic Iehaleleeil; Siph, agus Siphah, Tiria, agus Asareel.

17 Agus *b'iad* mic Esra, Ieter, agus Mered, agus Epher, agus Ialon: agus rug i Miriam, agus Samai, agus Isbah athair Estemoa.

18 Agus rug a bhean Iehudiah Iered athair Ghedoir, agus Heber athair Shocho, agus Iecutiel athair Shanoah. Agus *is iad* sin mic Bhitiah nighinn Pharaoh, a ghabh Mered *na mnaoi.*

19 Agus mic a mhnà Hodiah, peathar Nahaim, athar Cheilah a' Gharmaich, agus Estemoa a' Mhaachataich.

20 Agus *b'iad* mic Shimoin, Amnon, agus Rinah, Ben-hanan, agus Tilon. Agus *b'iad* mic Isi, Sohet, agus Ben-sohet.

21 *B'iad* mic Shelah mhic Iudah, Er athair Lecah, agus Laadah athair Mharesah, agus teaghlaichean tighe na muinntir a dh'oibrich anart grinn do thigh Asbea.

22 Agus Iocim, agus daoine Choseba, agus Ioas, agus Saraph, aig an robh an uchdaranachd ann am Moab, agus Iasubilehem. Agus *is* seann nithe *iad sin.*

23 *B'iad* sin na criadhadairean, agus iadsan a chòmhnuich am measg lusan agus ghàraichean: maille ris an righ na obair dh'fhan iad an sin.

24 *B'iad* mic Shimeoin, Nemuel, agus Iamin, Iarib, Serah, *agus* Saul:

25 Salum a mhac-san, Mibsam a mhac-san, Misma a mhac-san.

26 Agus mic Mhisma; Hamuel a mhac, Sachur a mhac-san, Simei a mhac-san.

27 Agus *bha* aig Simei sè mic deug agus sèathnar[a] nighean; ach aig a bhràithribh cha *robh* mòran cloinne, agus cha deachaidh an teaghlaichean uile an lìonmhoireachd, cosmhuil ri cloinn Iudah.

28 Agus chòmhnuich iad ann am Beer-seba, agus Moladah, agus Hasar-sual,

29 Agus ann am Bilhah, agus ann an Esem, agus ann an Tolad,

30 Agus ann am Betuel, agus ann an Hormah, agus ann an Siclag,

31 Agus ann am Bet-marcabot, agus ann an Hasar-susim, agus ann am Bet-birei, agus ann an Saaraim: *B'iad* sin

[a] *seisear.*

sin am bailte mòra, gus an do riogh-
aich Daibhidh, maille ri'n bailtibh
beaga.
32 Etam mar an ceudna, agus Ain,
Rimon, agus Tochen, agus Asan,
cùig bailte mòra;
33 Agus am frith-bhailtean uile a
bha mu'n cuairt air na mòr-bhailtibh
sin gu ruig Baal. B'iad sin an ionaid-
tàimh, agus an sloinnteireachd.
34 Agus Mesobab, agus Iamlech,
agus Iosah mac Amasiah,
35 Agus Ioel, agus Iehu mac
Iosibiah, mhic Sheraiah, mhic Asieil,
36 Agus Elioenai, agus Iaacobah,
agus Iesohaiah, agus Asaiah, agus
Adiel, agus Iesimiel, agus Benaiah,
37 Agus Sisa mac Shiphi, mhic
Alon, mhic Iedaiah, mhic Shimri,
mhic Shemaiah.
38 *Bha* iad sin *a tha* air an aithris
air an ainmibh nan ceannardaibh nan
teaghlaichibh féin: agus ann an tigh
an aithriche mheudaich iad gu mòr [a].
39 Agus chaidh iad gu ruig dol a
steach Ghedoir, *eadhon* gu ruig taobh
an ear a' ghlinne, a dh'iarraidh ion-
altraidh d'an treudaibh.
40 Agus fhuair iad ionaltradh
reamhar agus maith, agus *bha* an tìr
farsaing, agus sàmhach, agus siochail;
oir bha *sliochd* Ham a chòmhnuidh an
sin roimhe.
41 Agus thàinig iadsan a tha
sgrìobhta air an ainm, ann an laithibh
Hesekiah righ Iudah, agus bhuail iad
am bùthan agus na h-ionada-còmh-
nuidh [b] a fhuaradh [c] an sin, agus chuir
iad as doibh gu tur gus an la'n diugh,
agus ghabh iad còmhnuidh, nan àite;
a chionn gu'*n robh* ionaltradh an sin
d'an treudaibh.
42 Agus chaidh *cuid* dhiubh, *eadhon*
do mhacaibh Shimeoin, cùig ceud fear,
gu sliabh Sheir; agus Pelatiah, agus
Neariah, agus Rephaiah, agus Udsiel,
mic Isi air an ceann.
43 Agus bhuail iad am fuigheall a
chaidh as do Amalec, agus chòmh-
nuich iad an sin gus an là'n diugh.

CAIB. V.

Anis *b'iad* mic Reubein, ceud-
ghin Israeil (oir *b'*esan an ceud-
ghin, ach a chionn gu'n do thruaill e
leabadh 'athar, thugadh a chòir-
bhreith do mhacaibh Ioseiph mhic Is-
raeil: agus cha 'n'eil na ginnealacha
gu bhi air an àireamh a réir na còir-
bhreithe.
2 Oir bhuadhaich Iudah air a
bhràithribh, agus uaith-san *thàinig* an
t-ard riaghladair, ach bu le Ioseph a'
chòir-bhreithe)
3 Mic Reubein, ceud-ghin Israeil;
Hanoch, agus Palu, Hesron, agus
Carmi.
4 Mic Ioeil; Semaiah a mhac,
Gog a mhac-san, Simei a mhac-san,
5 Micah a mhac-san, Reaia a mhac-
san, Baal a mhac-san,
6 Beerah a mhac-san, a thug
Tiglat-pilneser, righ Asiria, air falbh
leis [d]: b'esan uachdaran nan Reuben-
each.
7 Agus *bha* 'bhràithrean a réir an
teaghlaiche ('nuair a dh'àirmheadh
an sloinnte a réir an ginealacha) nan
cinn-fheadhna, Ieiel, agus Sechariah,
8 Agus Bela mac Asais, mhic
Shema, mhic Ioeil, aig *an robh* a
chòmhnuidh ann an Aroer, eadhon
gu ruig Nebo, agus Baalmeon.
9 Agus a làimh na h-airde 'n ear
chòmhnuich e gu ruig dol a steach an
fhàsaich o'n abhuinn Euphrates; a
chionn gu'n d'fhàs an spréidh ro-lion-
mhor ann am fearann Ghilead.
10 Agus ann an laithibh Shauil
rinn iad cogadh ris na Hagaraich, a
thuit le'n làimh: agus chòmhnuich iad
nam bùthaibh-san air feadh uile agh-
aidh na h-aird' an ear do Ghilead.
11 Agus chòmhnuich clann Ghad
thall fa'n comhair, ann an tìr Bhasain
gu ruig Salchah:
12 Ioel an ceann [e], agus Saphan a
b'fhaigse [f], agus Iaanai, agus Saphat
ann am Basan.
13 Agus *b'iad* am bràithre do thigh
an aithriche, Michael, agus Mesulam,

 agus

[a] *mheudaich tigh an aithriche gu mòr.* [b] *meunim.* Eabh. [c] *fhuaras,* [d] *air falbh leis ann am braighdeanas.* [e] *ceann-feadhna, ceannard, priomh-fhear.* [f] *an t-ath-fhear.*

agus Seba, agus Iorai, agus Iachan, a-
gus Sia, agus Heber, seachdnar.
14 *Is iad* sin clann Abihail mhic
Huri, mhic Ieroah, mhic Ghilead,
mhic Mhichaeil, mhic Iesisai, mhic
Iahdo, mhic Bhuis:
15 Ahi mac Abdiel, mhic Ghuni,
ceann tighe an aithriche.
16 Agus ghabh iad còmhnuidh
ann an Gilead, ann am Basan, agus
na bhailtibh, agus ann an uile fhear-
ann chomhroinn [a] Sharoin, air an
crìochaibh.
17 Dh'àirmheadh iad sin uile le
sloinnteireachd ann an laithibh Iotaim
righ Iudah, agus ann an laithibh Iero-
boaim righ Israeil.
18 *Bha* mic Reubein, agus na
Gadaich, agus leth thréibh Mhanaseh,
do fhearaibh treuna [b], fir chomasach
gu sgiath agus claidheamh iomchar, a-
gus gu tilgeadh le bogha, agus teòma
air cogadh, ceithir agus dà fhichead
mìle, agus seachd ceud agus tri fichead
an àireamh, a chaidh a mach gu cogadh.
19 Agus rinn iad cogadh ris na
Hagaraich, agus ri Ietur, agus Nephis,
agus Nodab;
20 Agus chuidicheadh leo nan
aghaidh, agus thugadh thairis nan
làimh na Hagaraich, agus iadsan uile
a *bha* maille riu: oir dh'éigh iad ri
Dia anns a' chath, agus dh'aontaich
esan le'n guidhe, a chionn gu'n d'earb
iad as.
21 Agus thug iad leo am feudail;
d'an càmhalaibh deich agus dà fhich-
ead mìle, agus do chaoiribh dà cheud
agus leth-cheud mìle, agus do asalaibh
dà mhìle, agus do dhaoinibh [c] ceud
mìle:
22 Oir thuit mòran sìos air am
marbhadh [d], a chionn gu'n *robh* an
cogadh o Dhia. Agus ghabh iad
còmhnuidh nan àite gu ruig am braigh-
deanas.
23 Agus chòmhnuich clann leth
thréibh Mhanaseh anns an tìr, o Bhà-
san gu Baal-hermon, agus Senir, agus
gu sliabh Hermoin; *agus* dh'fhàs iad
lìonmhor.
24 Agus b'iad so cinn tighe an
aithriche, eadhon Epher, agus Isi, a-
gus Eliel, agus Asriel, agus Ieremiah,
agus Hodabhiah, agus Iahdiel, daoine
treunmhor, daoine allail [e], cinn tighe
an aithriche.
25 Ach chiontaich iad an aghaidh
Dhé an aithriche, agus chaidh iad le
strìopachas an déigh dhée muinntir na
tìre, a sgrios Dia rompa.
26 Agus dhùisg Dia Israeil suas
spiorad Phul righ Asiria, agus spiorad
Thilgat-pilneseir righ Asiria, agus
thug e leis iad (eadhon na Reubenich,
agus na Gadaich, agus leth thréibh
Mhanaseh) agus thug e iad gu Halah,
agus Habor, agus Hara, agus gu
abhuinn Ghòsain, gus an la'n diugh.

CAIB. VI.

MIC Lebhi; Gerson, Cohat, agus
Merari.
2 Agus mic Chohait; Amram,
Ishar, agus Hebron, agus Udsiel.
3 Agus mic Amraim; Aaron, agus
Maois, agus Miriam. Agus mic
Aaroin; Nadab, agus Abihu, Eleasar,
agus Itamar.
4 Ghin Eleasar Phinehas, agus
ghin Phinehas Abisua,
5 Agus ghin Abisua Buci, agus
ghin Buci Udsi,
6 Agus ghin Udsi Serahiah, agus
ghin Serahiah Meraiot,
7 Ghin Meraiot Amariah, agus
ghin Amariah Ahitub,
8 Agus ghin Ahitub Sadoc, agus
ghin Sadoc Ahimaas,
9 Agus ghin Ahimaas Asariah, a-
gus ghin Asariah Iohanan,
10 Agus ghin Iohanan Asariah
(esan a bha fritheala dh ann an dreuchd
an t-sagairt anns an tigh a thog
Solamh ann an Ierusalem)
11 Agus ghin Asariah Amariah, a-
gus ghin Amariah Ahitub,
12 Agus ghin Ahitub Sadoc, agus
ghin Sadoc Salum,
13 Agus ghin Salum Hilciah, agus
ghin Hilciah Asariah,
14 Agus ghin Asariah Seraiah, a-
gus ghin Seraiah Iehosadac.
15 Agus chaidh Iehosadac *am
braigh-*

[a] *ann an uile mhach-bhailtibh, iomall-bhailtibh.* [b] *do mhic gaisge.* Eabh.
[c] *anamaibh dhaoine.* Eabh. [d] *a chaidh leònadh.* [e] *ainmeil.*

braighdeanas, an uair a thug an Tighearn air falbh Iudah agus Ierusalem le làimh Nebuchadnesair.

16 Mic Lebhi; Gersom, Cohat, agus Merari.

17 Agus is iad so ainmeanna mhac Ghersoim; Libni, agus Simei.

18 Agus *b'iad* mic Chohait Amram agus Ishar, agus Hebron, agus Udsiel.

19 Mic Mherari; Mahli, agus Musi. Agus is iad so teaghlaichean nan Lebhitheach, a réir an aithriche:

20 O Ghersom; Libni a mhac, Iahat a mhac-san, Simah a mhac-san,

21 Ioah a mhac-san, Ido a mhac-san, Serah a mhac-san, Ieaterai a mhac-san.

22 Mic Chohait; Aminadab a mhac, Corah a mhac-san, Asir a mhac-san,

23 Elcanah a mhac-san, agus Ebiasaph a mhac-san, agus Asir a mhac-san,

24 Tahat a mhac-san, Uriel a mhac-san, Udsiah a mhac-san, agus Saul a mhac-san.

25 Agus mic Elcanah; Amasai, agus Ahimot:

26 Elcanah a mhac-san [a], Sophai a mhac-san, agus Nahat a mhac-san,

27 Eliab a mhac-san, Ieroham a mhac-san, Elcanah a mhac-san.

28 Agus mic Shamueil; an ceud-ghin *Ioel*, agus an dara Abiah [b].

29 Mic Mherari; Mahli, Libni a mhac-san, Simei a mhac-san, Udsa a mhac-san,

30 Simea a mhac-san, Hagiah a mhac-san, Asaiah a mhac-san.

31 Agus *is* iad sin *iadsan* a chuir Daibhidh os cionn seirbhis a' chiuil [c] ann an tigh an Tighearna, an déigh do'n àirc fois fhaghail.

32 Agus bha iad a' frithealadh fa chomhair pàilliuin bùtha a' choimhthionail le ceòl [d] gus an do thog Solamh tigh an Tighearn ann an Ierusalem; agus an sin dh'fheith iad air an dreuchd a réir an orduigh.

33 Agus *is* iad so iadsan a bha feitheamh, le'n cloinn: do mhacaibh nan Cohatach; Heman am fear-ciuil [e], mac Ioeil, mhic Shemueil,

34 Mhic Elcanah, mhic Ierohaim, mhic Elieil, mhic Thoah,

35 Mhic Shuph, mhic Elcanah, mhic Mhahait, mhic Amasai,

36 Mhic Elcanah, mhic Ioeil, mhic Asariah, mhic Shephaniah,

37 Mhic Thahait, mhic Asir, mhic Ebiasaiph, mhic Chorah,

38 Mhic Ishair, mhic Chohait, mhic Lebhi, mhic Israeil.

39 Agus a bhràthair Asaph (a sheas air a làimh dheis) *eadhon* Asaph mac Bherachiah, mhic Shimea,

40 Mhic Mhichaeil, mhic Bhaaseiah, mhic Mhalchiah,

41 Mhic Etni, mhic Sherah, mhic Adaiah,

42 Mhic Etain, mhic Shimah, mhic Shimei,

43 Mhic Iahait, mhic Ghersoin, mhic Lebhi.

44 Agus am bràithre mic Mherari air an làimh chli; Etan mac Chisi, mhic Abdi, mhic Mhaluich,

45 Mhic Hasabiah, mhic Amasiah, mhic Hilciah,

46 Mhic Amsi, mhic Bhani, mhic Shameir,

47 Mhic Mhahli, mhic Mhusi, mhic Mherari, mhic Lebhi.

48 Dh'orduicheadh mar an ceudna am bràithre na Lebhithich chum gach uile ghnè sheirbhis pàilliuin tighe Dhé.

49 Ach thug Aaron agus a mhic suas tabhartais air altair na h-ìobairtloisgte, agus air altair na tùise; *agus dh'orduicheadh* iad chum uile oibre an *ionaid* ro-naomha, agus a chum réite a dheanamh air son Israeil, a réir gach ni a dh'àithn Maois òglach Dhé.

50 Agus *is* iad so mic Aaroin, Eleasar a mhac, Phinehas a mhac-san, Abisua a mhac-san,

51 Buci a mhac-san, Udsi a mhac-san, Serahiah a mhac-san,

52 Meraiot a mhac-san, Amariah a mhac-san, Ahitub a mhac-san,

53 Sadoc a mhac-san, Ahimaàs a mhac-san.

54 Agus *is* iad so an àiteachacòmhnuidh, air feadh an lùchairte [f] nan

[a] *Elcanah: mic Elcanah.* [b] *mic Shamueil; an ceud-ghin Bhasni, agus Abiah.* [c] *na cantaireachd.* [d] *le seinn.* [e] *an t-òranaich, am fear-seinn.* [f] *caistealan.*

nan crìochaibh, do mhacaibh Aaroin, do theaghlaichibh nan Cohatach: oir bu leo-san an crannchur.

55 Agus thug iad dhoibh Hebron ann an tìr Iudah, agus 'fhearann comh-roinn[a] mu'n cuairt air.

56 Ach achanna a' bhaile, agus a fhrith-bhailte[b] thug iad do Chaleb mac Iephuneh.

57 Agus do mhacaibh Aaroin thug iad bailte; Hebron am *baile* dìdein[c], agus Libnah le 'fhearann comh-roinn, agus Iatir, agus Estemoa le 'fhearann comh-roinn,

58 Agus Hilen le 'fhearann comh-roinn, Debir le 'fhearann comh-roinn,

59 Agus Asan le 'fhearann comh-roinn, agus Betsemès le 'fhearann comh-roinn.

60 Agus o thréibh Bheniamin; Geba le 'fhearann comh-roinn, agus Alemet le 'fhearann comh-roinn, agus Anatot le 'fhearann comh-roinn. *B'iad* am bailtean[d] uile air feadh an teaghlaichean, tri bailte deug.

61 Agus do mhacaibh Chohait *a* dh'fhàgadh do theaghlach an tréibh sin, *thugadh* o'n leth thréibh, *eadhon* leth *thréibh* Mhanaseh, le crannchur, deich bailte.

62 Agus do mhacaibh Ghersoim air feadh an teaghlaiche, *thugadh* o thréibh Isachair, agus o thréibh Aseir, agus o thréibh Naphtali, agus o thréibh Mhanaseh ann am Basan, tri bailte deug.

63 Do mhacaibh Mherari air feadh an teaghlaiche, o thréibh Reubein, agus o thréibh Ghad, agus o thréibh Shebuluin, *thugadh* le crannchur dà bhaile deug.

64 Agus thug clann Israeil do na Lebhithich na bailte *sin* le'm fearann comh-roinn.

65 Agus thug iad le crannchur o thréibh chloinn Iudah, agus o thréibh chloinn Shimeoin, agus o thréibh chloinn Bheniamin, na bailte sin a ghairmear air an ainmibh.

66 Agus bha *aig a' chuid eile* do theaghlaichibh mhac Chohait bailte an crìch o thréibh Ephraim.

67 Agus thug iad dhoibh *do na* bailtibh dìdein, Sechem ann an sliabh Ephraim, le 'fhearann comh-roinn: Geser mar an ceudna le 'fhearann comh-roinn,

68 Agus Iocmeam le 'fhearann comh-roinn, agus Bethoron le 'fhearann comh-roinn,

69 Agus Aialon le 'fhearann comh-roinn, agus Gat-rimon le 'fhearann comh-roinn;

70 Agus o leth thréibh Mhanaseh, Aner le 'fhearann comh-roinn, agus Bileam le 'fhearann comh-roinn, air son teaghlaich chloinn Chohait a dh'fhàgadh.

71 Do mhacaibh Ghersoim *thugadh* o theaghlach leth-thréibh Mhanaseh, Golan ann am Basan le 'fhearann comh-roinn, agus Astarot le 'fhearann comh-roinn:

72 Agus o thréibh Isachair; Cedes le 'fhearann comh-roinn, Daberat le 'fhearann comh-roinn,

73 Agus Ramot le 'fhearann comh-roinn, agus Anem le 'fhearann comh-roinn:

74 Agus o thréibh Aseir; Masal le 'fhearann comh-roinn, agus Abdon le 'fhearann comh-roinn,

75 Agus Hucoc le 'fhearann comh-roinn, agus Rehob le 'fhearann comh-roinn:

76 Agus o thréibh Naphtali; Cedes ann an Galile le 'fhearann comh-roinn, agus Hamon[e] le 'fhearann comh-roinn, agus Ciriataim le 'fhearann comh-roinn.

77 Do'n chuid eile do chloinn Mherari *thugadh* o thréibh Shebuluin, Rimon le 'fhearann comh-roinn, Tabor le 'fhearann comh-roinn:

78 Agus air taobh thall Iordain làimh ri[f] Iericho, air an taobh an ear do Iordan, *thugadh dhoibh* o thréibh Reubein, Beser anns an fhàsach le 'fhearann comh-roinn, agus Iahsah le 'fhearann comh-roinn,

79 Agus Cedemot le 'fhearann comh-roinn, agus Mephaat le 'fhearann comh-roinn:

80 Agus o thréibh Ghad; Ramot ann

[a] *'iomall-bhailte, a dhlùth-bhailte, 'fho-bhailte; suburbs.* Sasg. [b] *a bhailte beaga.* [c] *thug iad bailte Iudah,* eadhon *Hebron am* baile *dìdein.* [d] *an caithriche, am mòr-bhailte.* [e] *Hamot.* Iosua. Caib. XXI. r. 32. [f] *fa chomhair.*

ann an Gilead le'fhearann comh-roinn,
*agus Mahanaim le 'fhearann comh-
roinn,*
*81 Agus Hesbon le 'fhearann comh-
roinn, agus Iaser le 'fhearann comh-
roinn.*

C A I B. VII.

ANIS *b'iad* mic Isachair, Tola, a-
gus Puah, Iasub, agus, Simron,
ceathrar.
2 Agus mic Thola; Udsi, agus
Rephaiah, agus Ieriel, agus Iahmai,
agus Ibsam, agus Semuel, cinn tighe
an aithriche, *eadhon* Thola: daoine
treun nan ginealachaibh, d'am *b'*àir-
eamh ann an laithibh Dhaibhidh dà
mhìle thar fhichead agus sè ceud.
3 Agus mic Udsi; Israhiah: agus
mic Israhiah; Michael, agus Obadiah,
agus Ioel, *agus* Isiah, cùignear, iad uile
nan ceannaibh *tighe*:
4 Agus aca-san, a réir an gineal-
acha, a réir tighe an aithriche, *bha*
buidhnean shaighdeir [a] gu cogadh, sè
mìle deug thar fhichead *fear*: oir
bha iomadh bean agus mac aca.
5 Agus *bha* am bràithrean am
measg uile theaghlaichean Isachair
nan daoinibh treun [b], air an àireamh
san iomlan a réir an ginealacha nan
seachd agus ceithir fichead mìle.
6 Mic Bheniamin; Bela, agus
Becher, agus Iediael, triuir.
7 Agus mic Bhela; Esbon, agus
Udsi, agus Udsiel, agus Ierimot, agus
Iri, cùignear, cinn tighe an aithriche,
daoine treun, agus dh'àirmheadh iad
a réir an ginealacha nan dà mhìle
thar fhichead, agus ceithir deug thar
fhichead.
8 Agus mic Bhecheir; Semira, a-
gus Ioas, agus Elieser, agus Elioenai,
agus Omri, agus Ierimot, agus Abiah,
agus Anatot, agus Alamet. *Is* iad sin
uile mic Bhecheir.
9 Agus *b'e* an àireamh a réir an
sloinnte, a réir an ginealacha, cinn
tighe an aithriche, daoine treun,
fichead mìle agus dà cheud.
10 Agus mic Iediaeil; Bilhan: a-
gus mic Bhilhain; Ieus agus Beniamin,
agus Ehud, agus Cenaanah, agus Setan,
agus Tarsis, agus Ahisahar.
11 *Bha* iad sin uile mic Iediaeil, a
réir cheann an aithriche, daoine treun,
nan seachd mìle deug agus dà cheud
fear, iomchuidh gu dol a mach chum
cogaidh *agus* catha.
12 Supim mar an ceudna agus
Hupim mic Ir, *agus* Husim mic Aheir.
13 Mic Naphtali; Iahsiel, agus
Guni, agus Ieser, agus Salum, mic
Bhilhah.
14 Mic Mhanaseh; Asriel, a rug
i: (*ach* rug a choimh-leabach, a' Bhan-
aramach, Machir athair Ghilead.
15 Agus ghabh Machir mar
mhnaoi *piuthar* Chupim agus Shupim,
agus *b'e* ainm a peathar Maachah)
agus *b'e* ainm an dara *mic* Selophe-
had: agus bha aig Selophehad
nigheana.
16 Agus rug Maachah bean
Mhachir mac, agus thug i Peres mar
ainm air; agus *b'e* ainm a bhràthar
Seres; agus b'iad a mhic-san Ulam
agus Racem.
17 Agus mic Ulaim; Bedan. *B*'iad
sin mic Ghilead, mhic Mhachir, mhic
Mhanaseh.
18 Agus rug a phiuthar Hamolecet
Isod, agus Abieser, agus Mahalah.
19 Agus b'iad mic Shemida, Ahian,
agus Sechem, agus Lichi, agus Aniam.
20 Agus mic Ephraim; Sutelah,
agus Bered a mhac-san, agus Tahat
a mhac-san, agus Eladah a mhac-san,
Tahat a mhac-san,
21 Agus Sabad a mhac-san, agus
Sutelah a mhac-san, agus Eser, agus
Elead, a mharbh fir Ghat a rugadh
san tìr *sin*, a chionn gu'n d'thàinig iad
a nuas a thogail an creich [c].
22 Agus rinn an athair Ephraim
bròn rè iomadh là, agus thàinig a
bhràithre gu comh-fhurtachd a thoirt
da.
23 Agus chaidh e stigh a dh'ionn-
suidh a mhnà, agus dh'fhàs i torrach,
agus rug i mac, agus thug e Beriah
mar ainm air, a chionn gu'n d'éirich
gu h-olc le 'thigh.
24 (Agus b'i a nighean Serah, ise
a thog

[a] *shaighd-fhear.* [b] *treun an neart, comasach gaisgeil.* [c] *a thoirt
leo am feudalach.*

a thog Bet-horon ìochdarach, agus uachdarach, agus Uisen-serah)

25 Agus b'e Rephah a mhac, mar an ceudna Reseph, agus Tela a mhac-san, agus Tahan a mhac-san,

26 Laadan a mhac-san, Amihud a mhac-san, Elisama a mhac-san,

27 Non a mhac-san, Iehosua a mhac-san.

28 Agus *b'iad* an seilbh agus an àiteacha-còmhnuidh Betel agus a bhailtean, agus a làimh na h-airde 'n ear Naaran, agus a làimh na h-airde 'n iar Geser le 'bhailtibh, Sechem mar an ceudna agus a bhailte, gu ruig Gasa agus a bhailte.

29 Agus làimh ri cloinn Mhanaseh, Bet-sean agus a bhailte, Taanach agus a bhailte, Megido agus a bhailte, Dor agus a bhailte. Annta sin ghabh clann Ioseiph mhic Israeil còmhnuidh.

30 Mic Aseir; Imnah, agus Isuah, agus Isui, agus Beriah, agus Serah am piuthar.

31 Agus mic Bheriah; Heber, agus Malchiel: *b'e*san athair Bhirsabhit.

32 Agus ghin Heber Iaphleit, agus Somer, agus Hotam, agus Suah am piuthar.

33 Agus mic Iaphleit; Pasach, agus Bimhal, agus Asbhat: *is* iad sin mic Iaphleit.

34 Agus mic Shameir; Ahi, agus Rohgah, Iehubah, agus Aram.

35 Agus mic Heleim a bhràthar; Sophah, Imna, agus Seles, agus Amal.

36 Mic Shophah; Suah, agus Harnepher, agus Sual, agus Beri, agus Imrah,

37 Beser, agus Hod, agus Sama, agus Silsah, agus Itran, agus Beera.

38 Agus mic Ieteir; Iephunneh, agus Pispah, agus Ara.

39 Agus mic Ula; Ara, agus Haniel, agus Resia.

40 B'iad sin uile mic Aseir, cinn tighe an aithriche, daoine taghta, treun an neart, roghadh [a] nan uachdaran. Agus an uair a dh'àirmheadh iad a réir an ginealacha chum cogaidh *agus* catha, b'e an àireamh sè mìle fichead fear.

CAIB. VIII.

A NIS ghin Beniamin Bela a cheud-ghin, Asbel an dara, agus Ahara an treas,

2 Nohah an ceathramh, agus Rapha an cùigeadh.

3 Agus b'iad mic Bhela, Adar, agus Gera, agus Abihud,

4 Agus Abisua, agus Naaman, agus Ahoah,

5 Agus Gera, agus Sephuphan, agus Huram.

6 Agus *is* iad so mic Ehuid: *is* iad so cinn aithriche [b] luchd-àiteachaidh Gheba, agus dh'atharraich siad iad gu Manahet:

7 Agus Naaman, agus Ahiah, agus Gera, dh'atharraich e iad, agus ghin e Uisa, agus Ahihud.

8 Agus ghin Saharaim *clann* ann an tìr Mhoaib, an déigh dha Husim agus Baara a mhnài a chur air falbh [c].

9 Agus ghin e ri Hodes a mhnaoi, Iobab, agus Sibia, agus Mesa, agus Malcham,

10 Agus Ieus, agus Sachia, agus Mirma. *B'*iad sin a mhic, cinn nan aithriche.

11 Agus ri Husim ghin e Ahitub agus Elpaal.

12 Mic Elphaail; Eber, agus Misam, agus Samed, a thog Ono, agus Lod le 'bhailtibh.

13 Agus Beriah agus Sema: *b'iad*-san cinn aithriche luchd-àiteachaidh Aialoin, a ruag luchd àiteachaidh Ghat:

14 Agus Ahio, Sasac, agus Ierimot,

15 Agus Sebadiah, agus Arad, agus Adar,

16 Agus Michael, agus Ispah, agus Ioha, mic Bheriah;

17 Agus Sebadiah, agus Mesulam, agus Hefeci, agus Heber,

18 Agus Ismerai, agus Iesliah, agus Iobab, mic Elphaail;

19 Agus Iacim, agus Sichri, agus Sabdi,

20 Agus Elioenai, agus Siltai, agus Eliel,

21 Agus Adaiah, agus Beraiah, agus Simrat, mic Shimbi;

22 Agus

[a] *cinn.* Eabh. [b] *theaghlach.* [c] *an déigh an cur air falbh, Husim agus Baara a mhnài.* Eabh.

22 Agus Iſpan, agus Heber, agus
Eliel,
23 Agus Abdon, agus Sichri, agus
Hanan,
24 Agus Hananiah, agus Elam, a-
gus Antotiah,
25 Agus Iphedeiah, agus Penuel,
mic Shaſaic;
26 Agus Samſerai, agus Sehariah,
agus Ataliah,
27 Agus Iareſiah, agus Eliah, a-
gus Sichri, mic Ierohaim.
28 Sin cinn nan aithriche, a réir an
ginealacha, cinn-fheadhna. Bha iad
ſin a chòmhnuidh ann an Ieruſalem.
29 Agus ann an Gibeon bha *Iehiel*,
athair Ghibeoin, a chòmhnuidh; agus
b'e ainm a mhnà Maachah:
30 Agus a cheud-ghin-mic Abdon,
agus Sur, agus Cis, agus Baal, agus
Ner, agus Nadab,
31 Agus Gedor, agus Ahio, agus
Sachar, agus Miclot [a].
32 Agus ghin Miclot Simeah. A-
gus chòmhnuich iad ſin mar an ceud-
na fa chomhair am bràithrean ann an
Ieruſalem maille r'am bràithribh.
33 Agus ghin Ner Cis, agus ghin
Cis Saul, agus ghin Saul Ionatan, agus
Malchiſua, agus Abinadab, agus
Esbaal.
34 Agus *b'e* mac Ionatain Merib-
baal; agus ghin Merib-baal Micah.
35 Agus *b'iad* mic Mhicah, Piton,
agus Melech, agus Tarea, agus
Ahas.
36 Agus ghin Ahas Iehoadah, a-
gus ghin Iehoadah Alemet, agus
Aſmabhet, agus Simri; agus ghin
Simri Moſa,
37 Agus ghin Moſa Binea: *b'e*
Rapha a mhac ſan, Eleaſah a mhac-
ſan, Aſel a mhac-ſan.
38 Agus *bha* aig Aſel sèathnar
mhac; agus *is* iad ſo an ainmeanna,
Aſricam, Bocheru, agus Iſmael, agus
Seariah, agus Obadiah, agus Hanan.
*B'*iad ſin uile mic Aſeil.
39 Agus *b'iad* mic Eſeic a bhràthar,
Ulam a cheud-ghin, Iehus an dara,
agus Eliphelet an treas.
40 Agus bha mic Ulaim nan daoinibh
treun, nam fir-bhogha [b]; agus bha
mòran mhac aca, agus mhac am mac,
ceud agus leth-cheud: iad ſin uile do
mhacaibh Bheniamin.

C A I B. IX.

AGUS dh'àirmheadh Iſrael uile a
réir an ginealacha, agus feuch,
bha iad ſcrìobhta ann an leabhar righ-
rean Iſraeil. Ach thugadh Iudah [c]
air falbh do Bhabilon air ſon an euſ-
aontais.
2 Agus *b'iad* an ceud luchd-àiteach-
aidh *a ghabh còmhnuidh* nan ſealbh nam
bailtibh, na h-Iſraelich, na ſagairt, na
Lebhithich, agus na Netinich.
3 Agus ann an Ieruſalem ghabh
còmhnuidh do chloinn Iudah, agus do
chloinn Bheniamin, agus do chloinn
Ephraim, agus Mhanaſeh:
4 Utai mac Amihuid, mhic Omri,
mhic Imri, mhic Bhani, do chloinn
Phareis mhic Iudah.
5 Agus do na Silonaich; Aſaiah
an ceud-ghin, agus a mhic.
6 Agus do mhacaibh Sherah;
Ieuel, agus am bràithre, sè ceud agus
ceithir fichead agus a deich.
7 Agus do mhacaibh Bheniamin;
Salu mac Mheſulaim, mhic Hodabh-
iah, mhic Haſenuah:
8 Agus Ibneiah mac Ierohaim, agus
Elah mac Udſi, mhic Mhichri, agus
Meſullam mac Shephatiah, mhic
Reueil, mhic Ibniah;
9 Agus am bràithrean, a réir an
ginealacha, naoi ceud agus sè deug a-
gus dà fhichead. *Bu* chinn aithriche
na daoine ſin uile ann an tigh an
aithriche.
10 Agus do na ſagartaibh; Iedaiah,
agus Iehoiarib, agus Iachin;
11 Agus Aſariah mac Hilciah,
mhic Mheſulaim, mhic Shadoic, mhic
Mheraiot, mhic Ahituib, riaghladair
tighe Dhé;
12 Agus Adaiah mac Ierohaim,
mhic Phaſuir, mhic Mhalchiah; a-
gus Maaſai mac Adieil, mhic Iahſerah,
mhic Mheſulaim, mhic Mheſulemit,
mhic Imeir;
13 Agus am bràithre, cinn tighe
an aithriche, mìle agus ſeachd ceud
agus tri fichead, daoine ro-fhoghain-
teach

[a] Faic Caib. IX. r. 36. 37. [b] *a thairngeadh bogh, a thilgeadh gu maith le bogha.* [c] *leabhar righrean Iſraeil agus Iudah, a thugadh.*

teach fa chomhair oibre seirbhis tighe Dhé.

14 Agus do na Leibhithich; Semaiah mac Hasuib, mhic Africaim, mhic Hasabiah, do mhacaibh Mherari;

15 Agus Bacbacar, Heres, agus Galal, agus Mataniah mac Mhicah, mhic Shichri, mhic Asaiph;

16 Agus Obadiah mac Shemaiah, mhic Ghalail, mhic Iedutuin, agus Berechiah mac Asa, mhic Elcanah, a bha chòmhnuidh ann am frith-bhailtibh [a] nan Netophatach.

17 Agus *b'iad* na dorsairean Salum, agus Acub, agus Talmon, agus Ahiman, agus am oraithre: *b'e* Salum an ceannard;

18 A *bha* gus an àm so aig geatadh an righ air an taobh an ear, nan dorsairibh ann an cuideachdaibh chloinn Lebhi.

19 Agus *bha* Salum mac Chore, mhic Ebiasaiph, mhic Chorah, agus a bhràithre (do thigh 'athar) na Corahaich os cionn oibre na seirbhis, nan luchd-gleidhidh gheatacha a' phàilliuin; agus an aithriche os cionn slòigh an Tighearna, nan luchd-gleidhidh air dol a stigh *a' phàilliuin*.

20 Agus b'e Phinehas mac Eleasair bu cheann-riaghlaidh orra *o shean* am fianuis an Tighearna [b].

21 Maille ris *bha* Sechariah, mac Mheselemiah, na dhorsair doruis pàilliuin a' choimhthionail.

22 Iad sin uile a thaghadh gu bhi nan dorsairibh anns na geataibh, bu dà cheud agus dà fhear dheug iad. Dh'àirmheadh iad sin a réir an ginealacha [c] nam frith-bhailtibh, a shuidhich Daibhidh agus Samuel am fear-seallaidh nan dreuchd suidhichte.

23 Mar sin bha iadsan, agus am mic, os cionn gheatacha tighe an Tighearna, *agus* tighe a' phàilliuin chum *an* gleidheadh [d].

24 Ann an ceithir chearnaibh bha na dorsairean, a làimh na h-airde 'n ear, na h-airde 'n iar, na h-airde tuath, agus na h-airde deas.

25 Agus am bràithre nam frith-bhailtibh, gu teachd an déigh sheachd laithean o àm gu h-àm maille riu.

26 Oir bha na Lebhithich sin, na ceithir ard dhorsairean, 'n*an* dreuchd suidhichte, agus bha iad os cionn sheòmraiche, agus os cionn ionmhasan tighe Dhé.

27 Agus bha iad a' gabhail tàimh mu'n cuairt air tigh Dhé, a chionn gu'm b'ann orra-san *a bha a* chùram, agus gu'*m buineadh* dhoibh 'fhosgladh gach maduinn.

28 Agus *bha cuid* diubh os cionn nan soithiche [e] frithealaidh, chum an toirt a stigh agus a mach air àireamh.

29 Chuireadh *cuid* diubh mar an ceudna os cionn nan soithiche, agus os cionn uile innealan an ionaid naomha, agus os cionn na mine mìne, agus an fhìona, agus na h-ola, agus na tùise, agus nan spìosraidh [f].

30 Agus *bha cuid* do mhacaibh nan sagart a' deanamh na h-oladh-ungaidh do na spìosraidh.

31 Agus b'ann aig Matitiah *aon* do na Lebhithich, eadhon ceud-ghin Shaluim a' Chorahaich, *a bha* 'dreuchd suidhichte os cionn [g] nan nithe a rinneadh ann an aighnibh.

32 Agus *bha cuid eile* d'am bràithribh, do mhacaibh nan Cohatach, os cionn arain na fianuis [h] gu 'dheasachadh gach sàbaid.

33 Agus *is* iad sin an luchd ciuil [i], cinn aithrich nan Lebhitheach, *a bha* anns na seòmraichibh, saor *o gach cùram eile*; oir a là agus a dh'oidhche *bha* orra *bhi* r'*an* obair-*san*.

34 *Bha* cinn aithriche sin nan Lebhitheach nan cinn a réir an ginealacha. Bha iad a chòmhnuidh ann an Ierusalem.

35 Agus ann an Gibeon chòmhnuich athair Ghibeoin, Iehiel; agus *b'e* ainm a mhnà Maachah:

36 Agus a cheud ghin mic Abdon, an sin Sur, agus Cis, agus Baal, agus Ner, agus Nadab,

37 Agus Gedor, agus Ahio, agus Sechariah, agus Miclot.

38 Agus ghin Miclot Simeam: agus ghabh iadsan mar an ceudna

còmhnuidh

[a] *bailtibh beaga.* [b] *an Tighearn*, a bha *maille ris.* [c] *an sloinnte.*
[d] *seal m'an seach.* [e] *air* cuid *diubh* bha *cùram nan soithiche.* [f] *nithe cùbhraidh.*
[g] *ri Matatiah bha'n earbsadh* bhi *os cionn*, [h] *an arain thaisbeanta.*
[i] *luchd seinn.*

còmhnuidh fa chomhair am bràithrean ann an Ierusalem maille r'am bràithribh.

39 Agus ghin Ner Cis, agus ghin Cis Saul, agus ghin Saul Ionatan, agus Malchisua, agus Abinadab, agus Esbaal.

40 Agus *b'e* mac Ionatain Merib-baal: agus ghin Merib-baal Micah.

41 Agus b'iad mic Mhicah, Piton, agus Melech, agus Tahrea, agus Ahas.

42 Agus ghin Ahas Iehoadah [a], agus ghin Iehoadah Alemet, agus Asmabhat, agus Simri; agus ghin Simri Mosa;

43 Agus ghin Mosa Binea: agus *b'e* Rephaiah a mhac-san, Eleasah a mhac-san, Asel a mhac-san.

44 Agus bha aig Asel sèathnar mhac, agus *is* iad so an ainmeanna; Asricam, Bocheru, agus Ismael, agus Seariah, agus Obadiah, agus Hanan. *B'iad* sin mic Aseil.

CAIB. X.

ANIS chog na Philistich an aghaidh Israeil, agus theich fir Israeil o fhianuis nam Philisteach, agus thuit iad sios marbhta ann an sliabh Ghilboa.

2 Agus lean na Philistich gu teann an déigh Shauil, agus an déigh a chuid mac; agus bhuail na Philistich Ionatan, agus Abinadab, agus Malchisua, mic Shauil.

3 Agus dh'fhàs an cath cruaidh an aghaidh Shauil, agus chuimsich [b] na fir-bhogha e, agus lotadh e leis na fir-bhogha.

4 An sin thubhairt Saul ri fear iomchair 'arm, Rùisg do chlaidheamh agus sàth tromham e, air eagal gu'n dthig na *daoine* neo-thimchioll-ghearrta sin, agus gu'n gnàthaich iad gu masslach mi. Ach cha deanadh fear iomchair 'arm sin, oir bha eagal mòr air. Uime sin ghlac Saul claidheamh, agus thuit e air.

5 Agus an uair a chunnaic fear iomchair 'arm gu'n robh Saul marbh, thuit esan mar an ceudna air a chlaidheamh, agus fhuair e bàs.

6 Mar sin fhuair Saul bàs, agus a thriuir mac, agus dh'eug a thigh uile san aon àm.

7 Agus an uair a chunnaic uile fhir Israeil a *bha* sa' ghleann, gu'n do theich iad, agus gu'n robh Saul agus a mhic marbh, an sin thréig iad am bailtean, agus theich iad; agus thàinig na Philistich, agus chòmhnuich iad annta.

8 Agus air an la màireach, an uair a thàinig na Philistich a dh'fhaobhachadh nam marbh, fhuair iad Saul agus a mhic air tuiteam ann an sliabh Ghilboa.

9 Agus an uair a dh'fhaobhaich iad e, ghlac iad a cheann, agus 'airm, agus chuir iad *fios* do thìr nam Philisteach mu'n cuairt, gu sgeul a thoirt do thigh an diathan bréige [c] agus do'n t-sluagh.

10 Agus chuir iad 'airm ann an tigh an dée, agus dhaingnich iad a cheann ann an teampull Dhagoin.

11 Agus an uair a chual uile *luchd-àiteachaidh* Iabeis-ghilead na h-uile *nithe* a rinn na Philistich ri Saul,

12 Dh'éirich na fir threuna uile, agus thug iad leo corp Shauil, agus cuirp a chuid mac, agus thug iad gu Iabes iad, agus dh'adhlaic iad an cnàimhean fuidh 'n daraig ann an Iabes, agus throisg iad seachd laithean.

13 Mar so dh'eug Saul air son a chiontaidh a rinn e 'n aghaidh an Tighearna, an aghaidh focail an Tighearna nach do ghléidh e, agus mar an ceudna a chionn gu'n d'iarr e *bean* aig an robh leannan-sìth, a dh'fhiosfachadh *dhith*.

14 Agus nach d'fhiosraich e do'n Tighearna: uime sin mharbh se e, agus thionndaidh e 'n rìoghachd a a dh'ionnsuidh Dhaibhidh mhic Iese.

CAIB. XI.

AN SIN chruinnich Israel uile iad féin a dh'ionnsuidh Dhaibhidh gu Hebron, ag ràdh, Feuch, *is* sinne do chnàimh agus t'fheoil.

2 Agus a bhàrr air so, san ùine chaidh seachad, eadhon an uair a bha Saul na righ, *bu* tusa a threòraich a mach, agus a thug a steach Israel; a-

[a] *Iarah.* Faic Caib. VIII. r. 36.
[b] *fhuair.* Eabh.
[c] *gu sgeul a thoirt d'an iodholaibh.*

agus thubhairt an Tighearna do Dhia riut, Beathaichidh tuſa mo ſhluagh Iſrael, agus bithidh tu a'd' cheannard air mo ſhluagh Iſrael.

3 Agus thàinig uile ſheanairean Iſraeil a dh'ionnſuidh an righ gu Hebron, agus rinn Daibhidh coimhcheangal riu ann an Hebron am fianuis an Tighearna, agus dh'ung iad Daibhidh na righ air Iſrael, a réir focail an Tighearn, le làimh Shamueil.

4 Agus chaidh Daibhidh agus Iſrael uile gu h-Ieruſalem, (is e ſin Iebus) far *an robh* na Iebuſaich, luchd-àiteachaidh an fhearainn.

5 Agus thubhairt luchd-àiteachaidh Iebuis ri Daibhidh, Cha dthig thu 'n ſo. Gidheadh, ghlac Daibhidh tùr Shioin; *is* e ſin baile [a] Dhaibhidh.

6 Agus thubhairt Daibhidh, Ge b'e bhuaileas na Iebuſaich an toiſeach, bithidh eſan na cheannard agus na uachdaran. Agus chaidh Ioab mac Sheruiah ſuas an toiſeach, agus bha e na cheannard.

7 Agus ghabh Daibhidh còmhnuidh ſan tùr: uime ſin thug iad baile Dhaibhidh mar ainm air.

8 Agus thog e am baile mu'n cuairt, eadhon o Mhilo mu'n cuairt: agus chuir Ioab ſuas a rìs a' chuid eile do'n bhaile.

9 Agus dh'fhàs Daibhidh ni bu mhò, agus ni bu mhò; oir *bha* Tighearna nan ſluagh leis.

10 Agus *is* iad ſo roghadh nan daoine treun a *bha* aig Daibhidh, a neartaich iad féin leis na rìoghachd, *agus* le h-Iſrael uile, gu rìgh a dheanamh dheth, a réir focail an Tighearna mu thimchioll Iſraeil.

11 Agus *is* e ſo àireamh nan daoine treun a *bha* aig Daibhidh: Iaſobeam, mac Hachmoni, na cheann air triuir [b]: thog eſan a ſhleagh an aghaidh thri ceud, a mharbhadh leis ſan aon àm.

12 Agus na dhéigh-ſan *bha* Eleaſar, mac Dhodo, an t-Ahohach: *b*'aon eſan do na tri gaiſgich.

13 Bha eſan maille ri Daibhidh ann am Pas-damim, agus an ſin bha na Philiſtich air cruinneachadh ah cionn a chéile gu cath [agus dh'imich ſir Iſraeil romhpa.

Dh'éirich eſan, agus bhuail e na Philiſtich gus an robh a làmh ſgìth, agus gu'n do lean a làmh ris a' chlaidheamh. Agus dh'oibrich an Tighearna ſaorſa mhòr air an là ſin; agus phill an ſluagh na dhéigh a mhàin a dh'fhaobhachadh.

Agus na dhéigh-ſan bha Samah, mac Agee, an Hararach: agus chruinnicheadh na Philiſtich nam buidhinn] [c] far an robh dail [d] fhearainn làn eorna [e], agus theich an ſluagh roimh na Philiſtich.

14 Agus ſhuidhich iadſan iad féin am meadhon na dalach *ſin*, agus dhìon iad i, agus mharbh iad na Philiſtich; agus ſhaor an Tighearn *iad* le ſaorſadh mhòir.

15 A nis chaidh triuir do na deich ceannaird fhichead ſios do'n charraig a dh'ionnſuidh Dhaibhidh, gu uaimh Adullaim: agus champaich feachd nam Philiſteach ann an gleann Rephaim.

16 Agus *bha* Daibhidh an ſin ſan daingneach: agus *bha* freiceadan nam Philiſteach an ſin ann am Betlehem.

17 Agus mhiannaich Daibhidh, agus thubhairt e, O nach dthugadh neach dhomh deoch uiſge o thobar Bhetlehem, a *tha* aig a' gheatadh!

18 Agus bhris an triuir troimh fheachd nam Philiſteach, agus tharruing iad uiſge a tobar Bhetlehem a *bha* aig a' gheatadh, agus ghabh iad *e*, agus thug iad *e* gu Daibhidh: ach cha 'n òladh Daibhidh e, ach thaom e mach e do'n Tighearna.

19 Agus thubhairt e, Nar leigeadh mo Dhia dhomh gu'n deanainn ſa ni ſo: an òlainnſe fuil nan daoine ſo a chuir an anmanna ann an cunnart? oir le cunnart an anmanna thug iad leo e: uime ſin cha'n òladh e dheth. Na nithe ſin rinn an triuir dhaoine treuna.

20 Agus bha Abiſai, bràthair Ioaib, na cheann air triuir: agus thog e a ſhleagh an aghaidh tri cheud, a mharbh e; agus *bha* ainm aige am meaſg thriuir.

21 Do'n triuir *b*'e a b'urramaiche na

[a] *cathair*. [b] *ceann nan ceannard.* [c] II. Samuel. Caib. XXIII. r. 9. 10. 11. [d] *mìr*. [e] *làn do ghal'l-pheaſair*. II. Sam. Caib. XXIII. r. 11.

na an dìthis, agus bha e na cheannard orra: gidheadh, cha d'ràinig e gu ruig a' *cheud* triuir.

22 *Mharbh* Benaiah, mac Jehoiada, mhic duine ghaisgeil o Chabseel, a rinn mòran ghniomhara, mharbh esan dithis fhear leòmhanta do Mhoab: chaidh e sios mar an ceudna, agus mharbh e leòmhan ann am meadhon sluichd air latha sneachdaidh.

23 Agus mharbh e Eiphiteach, duine do mheudachd *mhòir*, cùig làmhacoille air airde, agus ann an làimh an Eiphitich *bha* sleagh cosmhuil ri garmain [a] figheadair; ach chaidh esan sios d'a ionnsuidh le luirg, agus spìon e 'n t-sleagh a làimh an Eiphitich, agus mharbh e le 'shleagh féin e.

24 Na *nithe* sin rinn Benaiah mac Iehoiada, agus *bha* ainm aige am measg triuir dhaoine treuna.

25 Feuch, do'n triuir [b] b'e a b'urramaiche, ach cha d'ràinig e gu ruig a' *cheud* triuir: agus chuir Daibhidh e os cionn a fhreiceadain.

26 Mar an ceudna *b'iad* daoine treuna nan armailt, Asahel bràthair Ioaib, Elhanan mac Dhodo o Bhetlehem,

27 Samot an 't-Harorach, Heles am Pelonach,

28 Ira mac Iceis an Tecoach, Abieser an t-Anatotach,

29 Sibecai an t-Husatach, Ilai an t-Ahohach,

30 Maharai an Netophatach, Heled mac Bhaanah an Netophatach,

31 Itai mac Ribai o Ghibeah chloinn Bheniamin, Benaiah am Piratonach,

32 Hurai o shruthaibh [c] Ghaais, Abiel an t-Arbatach,

33 Asmabhet am Baharumach, Eliabha an Saalbonach.

34 Mic Haisim a' Ghisonaich; Ionatan mac Shage an t-Hararach,

35 Ahiam mac Shacair an t-Hararach, Eliphal mac Uir,

36 Hepher am Mecheratach, Ahiah am Pelonach,

37 Hesro an Carmeleach, Naarai mac Esbai,

38 Ioel bràthair Natain, Mibchar mac Hageri,

39 Selec an t-Amonach, Naharai am Berotach, fear iomchair arm Ioaib mhic Sheruiah,

40 Ira an t-Itreach, Gareb an t-Itreach,

41 Uriah an t Hiteach, Sabad mac Ahali,

42 Adina mac Shisa Reubeneach, ceannard do na Reubenich, agus deich thar fhichead maille ris,

43 Hanan mac Mhaachah, agus Iosaphat am Mitneach,

44 Udsia an t-Asteratach, Sama agus Iehiel mic Hotaim an Aroerich,

45 Iediael mac Shimri, agus Ioha a bhràthair an Tidseach,

46 Eliel am Mahabhach, agus Ieribai agus Iosabhiah mic Elnaaim, agus Itmah am Moabach,

47 Eliel, agus Obed, agus Iasiel o Mhesobia.

CAIB. XII.

A NIS *is* iad so iadsan a thàinig a dh'ionnsuidh Dhaibhidh gu Siclag, 'nuair a bha e fathast 'ga chumail féin a stigh air eagal Shauil mhic Chis: agus *bha* iad am measg nam fear treuna, nan luchd cuideachaidh sa' chogadh.

2 *Bha iad* armaichte le boghannaibh, agus teòma leis an làimh dheis agus chlì air clachan *a thilgeadh*, agus saighdean a bogha, *eadhon* do bhraithribh Shauil do Bheniamin.

3 *B'e* Ahieser bu bharraichte [d] *d'iubh*, an sin Ioas, mic Shemaah a' Ghibeataich, agus Iesiel agus Pelet mic Asmabheit, agus Beracha, agus Iehu an t-Anatotach,

4 Agus Ismaiah an Gibeonach, duine treun am measg an deich thar fhichead, agus os cionn an deich thar fhichead; agus Ieremiah, agus Iehasiel, agus Iohanan, agus Iosabad an Gederatach,

5 Elusai, agus Ierimot, agus Bealiah, agus Semariah, agus Sephatiah an t-Haruphach,

6 Elcanah, agus Isia, agus Asareel, agus Ioeser, agus Iasobeam, na Corhaich,

7 Agus Ioelah agus Sebadiah, mic Ierohaim o Ghedor.

 8 Agus

[a] *fail.* [b] *do'n deich thar fhichead.* [c] *aibhnichibh.*
[d] *an ceann.* Eabh.

8 Agus do na Gadaich chaidh
thairis [a] a dh'ionnfuidh Dhaibhidh,
do'n daingneach anns an fhàfach,
daoine treun, fir chogaidh *iomchuidh*
chum catha, d'am b'aithne fgiath agus
targaid a laimhfeachadh, aig *an robh*
an gnùifean mar ghnùifibh leòmhan,
agus iad co luath ris na h-eildibh air
na beanntaibh.
9 Efer an ceud fhear, Obadiah an
dara, Eliab an treas,
10 Mifmanah an ceathramh, Ier-
emiah an cùigeadh,
11 Atai an feathadh, Eliel an
feachdamh,
12 Iohanan an t-ochdamh, Elfabad
an naothadh,
13 Ieremiah an deicheamh, Mach-
banai an t-aon fhear deug.
14 *Bha* iad fin do mhacaibh Ghad
nan ceannardaibh an t-fluaigh: an t-aon
'bu lugha dhiubh os cionn cheud, agus
an *t-aon* bu mhò os cionn mhìle.
15 Sin iadfan a chaidh thairis air
Iordan fa' cheud mhìos, an uair a bha
'fhruth cur thairis air a bhruachaibh
uile, agus chuir iad an ruaig air
muinntir nan gleann uile, a làimh na
h-airde 'n ear, agus na h-airde 'n iar.
16 Thàinig mar an ceudna *cuid* do
chloinn Bheniamin agus Iudah do'n
daingneach a dh'ionnfuidh Dhaibhidh.
17 Agus chaidh Daibhidh a mach
nan coinneamh, agus fhreagair e, a-
gus thubhairt e riu, Ma thàinig fibh
gu fiochail a'm' ionnfuidh fa a chuid-
eachadh leam, bithidh mo chridhe
leibh le aon rùn: ach ma *thàinig fibh*
a chum mo bhrath do m' naimhdibh,
'nuair nach 'eil eucoir air bith a'm'
làmhaibh, gu'n amhairceadh Dia ar
n-aithriche air *fin*, agus gu'n cron-
aicheadh fe *e*.
18 An fin thàinig an fpiorad air
Amafai, am fear a b'inbhiche do na
ceannardaibh, *agus thubhairt e*, Leatfa
tha finne, a Dhaibhidh, agus air do
thaobh, a mhic Iefe: fìth, fìth dhuit,
agus fìth do d' luchd cuideachaidh;
oir tha do Dhia a' còmhnadh [b]
leat. Agus ghabh Daibhidh iad, a-
gus rinn e iad nan ceannardaibh na
buidhne.
19 Agus chaidh *cuid* de Mhanafeh
thairis [c] a dh'ionnfuidh Dhaibhidh,
'nuair a thàinig e leis na Philiftich an
aghaidh Shauil gu cath, ach cha do
chuidich iad [d] leo; oir, le comhairle,
chuir tighearnan nam Philifteach air
falbh e, ag ràdh, Le *cunnart* ar cean-
ne théid e thairis a dh'ionnfuidh
Shauil a thighearna.
20 'Nuair a bha e dol gu Siclag,
chaidh thairis da 'ionnfuidh do Mhan-
afeh, Adnah, agus Iofabad, agus
Iediael, agus Michael, agus Iofabed,
agus Elihu, agus Siltai, cinn-fheadhna
nam miltean a *bha* do Mhanafeh.
21 Agus chuidich iad le Daibhidh
an aghaidh buidhne nan creachadair-
ean: oir *bu* daoine treun iad uile, a-
gus bha iad nan ceannardaibh fan
fheachd.
22 Oir mu'n àm *fin* là 'n déigh là
thàinig iad a dh'ionnfuidh Dhaibhidh
a chòmhnadh [e] leis, gus an robh feachd
mòr ann, mar fheachd Dhé.
23 Agus *is* e fo àireamh [f] nan
daoine armaichte chum cogaidh, a
thàinig a dh'ionnfuidh Dhaibhidh gu
Hebron, a thionndadh rioghachd
Shauil d'a ionnfuidh-fan, a réir focail
an Tighearna:
24 Mic Iudah, a ghiùlain fgiath a-
gus fleagh, sè mìle agus ochd ceud,
armaichte chum cogaidh.
25 Do mhacaibh Shimeoin, fir
threuna gu cogadh, feachd mìle agus
ceud.
26 Do mhacaibh Lebhi, ceithir
mìle agus sè ceud.
27 Agus Iehoiada ceannard nan
Aaronach, agus maille ris tri mìle a-
gus feachd ceud.
28 Agus Sadoc òganach ro-threun,
agus do thigh 'athar dà cheannard thar
fhichead.
29 Agus do mhacaibh Bheniamin
luchd-dàimh Shauil, tri mìle; oir
fathaft *bha* chuid bu mhò dhiubh nam
freiceadan air tigh Shauil.
30 Agus do mhacaibh Ephraim,
fichead

[a] *chuir air leth, dhealaich, thearbaidh iad féin.* [b] *cungnamh.* Eir.
[c] *thuit do Mhanafeh.* Eabh. [d] *e.* [e] *a chuideachadh.* [f] *cunntas
cheann.* Eabh.

ficheadh mìle agus ochd ceud, fir
threuna, ainmeil ann an tigh an
aithriche.
31 Agus do leth-thréibh Mhanaſeh,
ochd mìle deug, a dh'ainmicheadh air
an ainmibh, gu teachd a dheanamh
Dhaibhidh na righ.
32 Agus do mhacaibh Iſachair, aig
an robh aithne [a] air na h-aimſiribh, a
thuigſinn ciod bu chòir do Iſrael a
dheanamh *bu* dà cheud an ceannardan;
agus am bràithrean uile aig an ordugh-
ſa.
33 Do Shebulun a' mheud 'ſa
chaidh mach gu cath, daoine teòma
ann an cogadh, le uil' innealaibh
cogaidh, deich agus dà fhichead mìle,
a chuideachadh *Dhaibhidh* [b] gun cheilg
nan cridhe.
34 Agus do Naphtali mìle ceannard,
agus maille riu ſan, le ſgéith agus
ſleagh, ſeachd mìle deug thar fhichead
35 Agus do na Danaich, teòma ann
an cogadh, ochd mìle fichead agus sè
ceud.
36 Agus do Aſer, a' mheud 'ſa
rachadh a mach gu cath, teòma ann
an cogadh, dà fhichead mìle.
37 Agus air an taobh eile do Ior-
dan, do na Reubenich, agus do na
Gadaich, agus do leth-thréibh Mhan-
aſeh, le uil' innealaibh cogaidh chum
catha, ceud agus fichead mìle.
38 Na fir chogaidh ſin uile, d'am
b'aithne dol an ordugh *blàir*, le cridhe
iomlan thàinig iad gu Hebron a
dheanamh Dhaibhidh na righ os cionn
Iſraeil uile: agus mar an ceudna *bha*
chuid eile do Iſrael gu léir do aon
chridhe chum Daibhidh dheanamh na
righ.
39 Agus bha iad an ſin maille ri
Daibhidh tri laithean, ag itheadh a-
gus ag òl: oir dh'ulluich am bràith-
rean air an ſon.
40 A bhàrr air ſin, thug iadſan a
bha fagus doibh, gu ruig Iſachar, agus
Sebulun, agus Naphtali, aran leo air
aſalaibh, agus air chàmhalaibh, agus
air mhuileidibh, agus air dhamhaibh,
biadh, min, mill fhige, agus bagaidean
do fhion-dhearcaibh tiormaichte, agus
fion, agus oladh, agus daimh, agus
caoraich ann am pailteas; oir *bha*
aoibhneas ann an Iſrael.

C A I B. XIII.

AGUS chuir Daibhidh a chomh-
airle riu-ſan a bha os cionn
mhìlte, agus cheud, ris gach uile
cheannard.
2 Agus thubhairt Daibhidh ri uile
choimhchruinneachadh Iſraeil, Ma
chìthear iomchuidh dhuibh, agus *gur*
ann o'n Tighearn ar Dia *a tha chùis*,
cuireamaid fios a mach a dh'ionnſuidh
ar bràithrean anns gach àit, a dh'fhàg-
adh ann an uile thir Iſraeil, agus maille
riu-ſan *a dh'ionnſuidh* nan ſagart agus
nan Lebhitheach *a tha* nam bailtibh
le'n fearann comhroinn [c], iad g'an
cruinneachadh féin thugainn [d].
3 Agus thugamaid a rìs àirc ar Dé
d'ar n'ionnſuidh: oir cha d'fhioſraich
ſinn dheth ann an laithibh Shauil.
4 Agus thubhairt an coimhchruinn-
eachadh gu léir, gu'm bu chòir ſin a
dheanamh [e]; oir bha an ni ceart ann
an ſùilibh an t-ſluaigh uile.
5 Uime ſin chruinnich Daibhidh
Iſrael uile an ceann a chéile, o Shihor
na h-Eiphit gu dol a ſteach Hamath,
chum àirc Dhé a thoirt o Chiriat-
iearim.
6 Agus chaidh Daibhidh ſuas, agus
Iſrael uile do Bhaalat, *eadhon* gu
Ciriat-iearim a *bhuineadh* do Iudah, a
thabhairt leo as ſin àirc Dhé an Tigh-
earna, a tha chòmhnuidh *eadar* na
cheruban, air an gairmear 'ainm.
7 Agus ghiùlain iad àirc Dhé air
feun [f] nomha o thigh Abinadaib: a-
gus dh'iomain Uſa agus Ahio am
feun.
8 Agus chluich Daibhidh agus Iſ-
rael uile am fianuis Dhé le 'n uile
neart, eadhon le luoidhibh [g], agus le
clàrſaichibh, agus le ſaltairibh, agus
le tiompanaibh, agus le ciombalaibh, a-
gus le trompaidibh.
9 Agus an uair a thàinig iad gu
h-urlar-bualaidh Chidoin, chuir Uſa a
mach a làmh, a ghabhail greim do'n
àirc, oir chuir na daimh air chrith i.

[a] *eòlas.* [b] *a rachadh an ordugh* blàir. [c] *nam bailtibh* agus *nam mach-bhailtibh.* [d] *chugainn* [e] *gu'n deanadh iad mar ſin.* [f] *ſ…na, cairt.* [g] *air gach* inneal-ciuil do *fhiodh giumhais.* II. Sam. Caib. VI. r. 5.

10 Agus las fearg an Tighearna an
aghaidh Usa, agus bhuail se e, a
chionn gu'n do chuir e a làmh ris an
àirc: agus dheug e 'n sin an làthair
Dhé.
11 Agus bha doilgheasair Daibhidh[a]
a chionn gu'n d'rinn an Tighearna
brisеadh air Usa: agus dh'ainmich e
'n t-àite sin Peres-usa gu ruig an la 'n
diugh.
12 Agus bha eagal air Daibhidh
roimh Dhia air an là sin, agus thubh-
airt e, Cionnus a bheir mise àirc Dhé
dhachaidh a'm' ionnsuidh?
13 Uime sin cha d'thug Daibhidh
an àirc d'a ionnsuidh féin gu baile
Dhaibhidh; ach thug e a leth-taobh i
gu tigh Obed-edoim a' Ghitich.
14 Agus dh'fhan àirc Dhé maille
ri teaghlach Obed-edoim na thigh tri
miosan. Agus bheannaich an Tigh-
earna tigh Obed-edoim, agus gach *ni*
a *bh*'aige.

CAIB. XIV.

A NIS chuir Hiram righ Thiruis
teachdairean a dh'ionnsuidh
Dhaibhidh, agus fiodh feudair, agus
clachairean, agus saoir, a thogail
tighe dha.
2 Agus dh'aithnich Daibhidh gu'n
do dhaingnich an Tighearn e na righ
air Israel, *agus* gu'n d'ardaicheadh gu
mòr a rioghachd air son a shluaigh Is-
raeil.
3 Agus ghabh Daibhidh tuille bhan
ann an Ierusalem, agus ghin Daibhidh
fathast mic agus nigheana.
4 Agus is iad so ainmean a chloinne
a bha aige ann an Ierusalem; Samua,
agus Sobab, Natan, agus Solamh,
5 Agus Ibhar, agus Elisua, agus
Elphalet,
6 Agus Nogah, agus Nepheg, agus
Iaphia.
7 Agus Elisama, agus Beeliada, a-
gus Eliphalet.
8 Agus an uair a chuala na Philis-
tich gu'n d'ongadh Daibhidh na righ
air Israel uile, thàinig na Philistich
gu léir a nios a dh'iarraidh Dhaibhidh:
agus chuala Daibhidh *sin*, agus chaidh
e mach nan aghaidh.
9 Agus thàinig na Philistich, agus
sgaoil siad iad féin ann an gleann
Rephaim.
10 Agus dh'fhiosraich Daibhidh do
Dhia, ag ràdh, An dthéid mi suas an
aghaidh nam Philisteach, agus an
dthoir thu thairis iad a'm' làimh?
Agus thubhairt an Tighearna ris,
Gabh suas, agus bheir mise thairis
iad a d' làimh.
11 Agus thàinig iad gu Baal-per-
asim, agus bhuail Daibhidh an sin iad.
Agus thubhairt Daibhidh, Bhris Dia
mo naimhdean o chéile le m' làimh-
sa, mar bhriseadh uisgeacha. Uime
sin thug iad Baal-perasim mar ainm
air an àite sin.
12 Agus dh'fhàg iad an diathan an
sin, agus thug Daibhidh àithne, agus
loisgeadh iad le teine.
13 Agus thàinig na Philistich a ris,
agus sgaoil siad iad féin anns a' ghleann.
14 Uime sin dh'fhiosraich Daibhidh
a ris do Dhia, agus thubhairt Dia ris,
Na gabh suas nan déigh, tionndaidh
air falbh uatha, agus thig orra fa
chomhair chraobh nan smeur.
15 Agus an uair a chluinneas tu
fuaim siubhail ann am barraibh chraobh
nan smeur, an sin théid thu mach
chum catha; oir théid Dia a mach
romhad, a bhualadh feachd nam Phil-
isteach.
16 Agus rinn Daibhidh mar a
dh'àithn Dia dha: agus bhuail iad[b]
feachd nam Philisteach o Ghibeon
eadhon gu Gaser.
17 Agus Chaidh ainm[c] Dhaibhidh
a mach do gach tìr, agus thug an
Tighearn 'eagal-san air na h-uile
chinneachaibh.

CAIB. XV.

AGUS rinn Daibhidh dha féin
tighean ann am baile Dhaibhidh,
agus dh'ulluich e àite do àirc Dhé, a-
gus shuidhich e bùth dh'i.
2 An sin thubhairt Daibhidh, Cha
choir do neach air bith àirc Dhé
iomchar, ach do na Lebhithich: oir
iadsan roghnaich an Tighearna gu
àirc Dhé iomchar, agus gu fritheala dh
dha gu bràth.
3 Agus chruinnich Daibhidh Israel
uile an ceann a chéile gu h Ierusalem,
gu

[a] *bha Daibhidh fo mhi-ghean.* [b] *e.* [c] *alladh, cliu.*

gu àirc an Tighearn a thoirt ſuas a dh'ionnſuidh a h-àite, a dh'ulluich e air a ſon.

4 Agus chruinnich Daibhidh mic Aaroin agus na Lebhithich.

5 Do mhacaibh Chohait; Uriel an ceann, agus a bhràithre ceud agus fichead.

6 Do mhacaibh Mherari; Aſaiah an ceann, agus a bhràithre dà cheud agus fichead.

7 Do mhacaibh Gherſoim; Ioel an ceann, agus a bhràithre ceud agus deich thar fhichead.

8 Do mhacaibh Eliſaphain; Semaiah an ceann, agus a bhràithre dà cheud.

9 Do mhacaibh Hebroin; Eliel an an ceann, agus a bhraithre ceithir fichead.

10 Do mhacaibh Udſiel; Aminadab an ceann, agus a bhràithre ceud agus dà fhear dheug.

11 Agus ghairm Daibhidh air Sadoc agus Abiatar na ſagairt, agus air na Lebhithich, air Uriel, Aſaiah, agus Ioel, Semaiah, agus Eliel, agus Aminadab.

12 Agus thubhairt e riu, *Is* ſibhſe cinn aithriche nan Lebhitheach; naomhaichibh ſibh féin, ſibhſe agus bhur bràithre, chum gu'n dthoir ſibh ſuas àirc an Tighearna Dé Iſraeil, a dh'ionnſuidh an àit a dh'ulluich miſe dh'i:

13 Oir a chionn nach *robh* ſibh *a làthair* roimhe, rinn an Tighearn ar Dia briſeadh oirnne, do bhrigh nach d'iarr ſinn e air mhodh dligheach.

14 Uime ſin naomhaich na ſagairt agus na Lebhithich iad féin, a thabhairt ſuas àirce an Tighearna Dé Iſraeil.

15 Agus ghiùlain mic nan Lebhitheach àirc Dhé air an guailnibh, leis na lunnaibh [a] orra, mar a dh'àithn Maois a réir focail an Tighearna.

16 Agus labhair Daibhidh ri h-uachdaranaibh [b] nan Lebhitheach, am bràithrean orduchadh *bhi* nan luchd-ciuil le h-innealaibh ciuil, ſaltairibh, agus clàrſaichibh, agus ciombalaibh, a' deanamh fuaim, a' togail ſuas a' ghlòtha le h-aoibhneas.

17 Uime ſin dh'orduich na Lebhithich Heman mac Ioeil: agus d'a bhràithribh, Aſaph mac Bherechiah; agus do mhacaibh Mherari am bràithribh, Etan mac Chuſaiah:

18 Agus maille riu am bràithrean do'n dara *ceum*, Sechariah, Ben, agus Iaaſiel, agus Semiramot, agus Iehiel, agus Uni, Eliab, agus Benaiah, agus Maaſeiah, agus Matitiah, agus Elipheleh, agus Micneiah, agus Obed-edom, agus Ieiel, na dorſairean.

19 Agus *bha*'n luchd-ciuil, Heman, Aſaph, agus Etan, gu fuaim a dheanamh le ciombalaibh umha;

20 Agus Sechariah, agus Aſiel, agus Semiramot, agus Iehiel, agus Uni, agus Eliab, agus Maaſeiah, agus Benaiah, le ſaltairibh air Alamot;

21 Agus Matitiah, agus Elipheleh, agus Micneiah, agus Obed-edom, agus Iehiel, agus Aſaſiah, le clàrſaichibh air Seminit a thoirt barrachd.

22 Agus *bha* Cenaniah uachdaran do na Lebhithich fa chomhair na laoidh: ſheòl e mu thimchioll na laoidh, a chionn gu'*n robh* e eòlach.

23 Agus *bha* Berechiah agus Elcanah nan dorſairibh do'n àirc.

24 Agus bha Sebaniah agus Iehoſaphat, agus Netaneel, agus Amaſai, agus Sechariah, agus Benaiah, agus Elieser na ſagairt, a' ſéideadh leis na trompaidibh roimh àirc Dhé: agus *bha* Obed-edom agus Iehiah nan luchd-gleidhidh doruis na h-àirce.

25 Mar ſin chaidh Daibhidh agus ſeanairean Iſraeil, agus na ceannardan mhìltean, a thoirt ſuas àirce coimhcheangail an Tighearn a tigh Obed-edoim le h-aoibhneas.

26 Agus an uair a chuidich Dia leis na Lebhithich a ghiùlain àirc coimhcheangail an Tighearna, dh'iobair iad ſeachd tairbh oga agus ſeachd reitheacha.

27 Agus *bha* Daibhidh ſgeadaichte le fallaing do anart grinn, agus na Lebhithich uile a bha giùlan na h-àirce, agus an luchd-ciuil, agus Chenaniah an t-ard fhear-ſeinn am meaſg an luchd ciuil: air Daibhidh mar an ceudna *bha* ephod anairt.

28 Mar ſo thug Iſrael uile ſuas àirc coimhcheangail an Tighearna le h-iolaich,

[a] *balaichibh.* [b] *prìomh-fhearaibh.*

h-iolaich, agus le fuaim a' bhuabhuill[a],
agus le trompaidibh, agus le ciom-
balaibh, a' deanamh coimhheirm le
saltairibh agus clàrsaichibh.
29 Agus an uair a thàinig àirc
coimhcheangail an Tighearna steach
do bhaile Dhaibhidh, bha Michal
nighean Shauil ag amharc a mach air
uinneig, agus chunnaic i righ Daibhidh
a' dannsadh agus a' cluicheadh; agus
rinn *i tàir* air na cridhe.

CAIB. XVI.

AGUS thug iad a steach àirc Dhé,
agus chuir iad i ann am meadh-
on a' bhùtha a shuidhich Daibhidh
air a son: agus thug iad seachad iob-
airtean loisgte agus iobairtean-sìth am
fianuis Dhé.
2 Agus an uair a chuir Daibhidh
crìoch air na h-iobairtean-loisgte
thoirt suas, agus na h-iobairtean-sìth,
bheannaich e 'n sluagh an ainm an
Tighearna.
3 Agus roinn e air gach aon do Is-
rael, eadar fhear agus bhean, do gach
aon builionn arain, agus mir maith
feòla, agus copan *fiona*.
4 Agus dh'orduich e *cuid* do na
Lebhithich a fhrithealadh roimh àirc
an Tighearna, agus a chur air
chuimhne, agus a thoirt buidheachais[b]
agus cliu do'n Tighearna Dia Is-
raeil:
5 Asaph an ceann[c], agus na dhéigh-
san Sechariah, an sin Ieiel, agus Semi-
ramot, agus Iehiel, agus Matitiah, a-
gus Eliab, agus Benaiah, agus Obed-
edom: agus Ieiel le saltairibh agus
clàrsaichibh, agus Asaph le ciombal-
aibh a' deanamh fuaim;
6 Benaiah mar an ceudna agus
Iahasiel na sagairt, le trompaidibh a
ghnàth roimh àirc coimhcheangail
Dhé.
7 An sin air an là sin, thug Daibh-
idh seachad a' cheud uair an *laoidh*
mholaidh so do'n Tighearna, ann an
làimh Asaiph agus a bhràithre:
8 Molaibh an Tighearna[d], gair-
mibh air 'ainm, deanaibh a ghnìomh-
aran aithnichte am measg nan sluagh.
9 *Sinnibh dha-san, seinnibh sailm*
dha, labhraibh air 'uil' oibribh ion-
gantach-sa.
10 Deanaibhse uaill *na ainm*
naomha, deanadh cridhe na muinntir
a tha 'g iarraidh an Tighearna gaird-
eachas.
11 Iarraibh an Tighearn agus a
neart, iarraibh a ghnùis a ghnàth.
12 Cuimhnichibh 'oibrean iongant-
ach a rinn e, a chomharan[e] agus
breitheanais a bhéil.
13 O sibhse a shliochd Israeil
'òglaich-san, sibhse a chlann Iacoib a
dhaoine taghta-san.
14 *Is* esan an Tighearn ar Dia-ne;
air feadh na talmhainn uile *tha* a
bhreitheanais-san.
15 Cuimhnichibh an còmhnuidh[f]
a choimhcheangal, am focal *a* dh'àithn
e do mhìle ginealach;
16 A rinn e ri h-Abraham, agus a
mhionnan do Isaac:
17 Agus dhaingnich e sin do Iacob
mar lagh, do Israel mar choimh-
cheangal bith-bhuan,
18 Ag ràdh, Dhuitse bheir mi
fearann Chanaain, crannchur bhur
n-oighreachd.
19 An uair nach robh iad[g] ach ro-
theare an àireamh, agus nan coigrich
ann.
20 Agus a chaidh iad o chinneach
gu cinneach, agus o rìoghachd gu
sluagh eile;
21 Cha do leig e le duine sam bith
eucoir[h] a dheanamh orra, agus
smachdaich e righrean air an son-sa:
22 *Ag ràdh*, Na beanaibh ri m'
dhaoinibh ungta, agus air m'fhàidhibh
na deanaibh cron sam bith.
23 Seinnibh do'n Tighearn, gach
uile thìr[i]; foillsichibh o là gu là a
shlàinte.
24 Cuiribh a ghlòir an céill am
measg nan cinneach; 'oibre iongantach
am measg nan uile shluagh:
25 Oir *is* mòr an Tighearn, agus
ro-airidh air cliu; agus *is* aobhar
eagail esan os cionn nan uile dhee:
26 Oir

[a] *na gall-truimp.* [b] *molaidh.* [c] *am prìomh-fhear.*
[d] *Thugaibh buidheachas, aidichibh do'n Tighearna.* [e] *'iongantasan.*
[f] *gu bràth.* Eabh. [g] *sibh.* [h] *foirneart.* [i] *a thalaimh uile*

26 Oir is iodhoil [a] uile dhée nan
cinneach [b]; ach is e 'n Tighearn a rinn
na nèamha.
27 *Tha* gloir agus mòralachd na
làthair; neart agus subhachas na
ionad-san.
28 Thugaibh do'n Tighearna, sibh-se
fhineacha nan sluagh; thugaibh do'n
Tighearn urram agus neart.
29 Thugaibh do'n Tighearn an
t-urram a's cubhaidh d'a ainm:
thugaibh tabhartas leibh, agus thig-
ibh na làthair; sleuchdaibh do'n Tigh-
earn ann am maise na naomhachd.
30 Biodh eagal oirbh na fhianuis-
san, gach uile thìr: daingnichear an
domhan *ullamh*, air chor as nach gluais-
ear e [c].
31 Biodh na nèamhan ait, agus
deanadh an talamh gairdeachas; agus
abradh iad am measg nan cinneach,
Tha'n Tighearn a' rioghachadh.
32 Beucadh an fhairge, agus a làn;
deanadh a' mhachair gairdeachas, a-
gus gach *ni* a *ta* innte.
33 An sin seinnidh craobhan na
coille gu h-ard-ghuthach an làthair an
Tighearna, a chionn gu bheil e teachd
a thoirt breith air an talamh.
34 Molaibh an Tighearn [d], oir
tha e maith; oir gu bràth *mairidh* a
thròcair.
35 Agus abraibh-se, Tèaruinn sinn,
O Dhé ar slàinte, agus cruinnich r'a
chéile sinn, agus saor sinn o na cinnich,
a chum gun dthoir sinn moladh do
t'ainm naomha-sa, agus gu'n dean
sinn uaill ann ad chliu.
36 Beannuichte gu robh an Tigh-
earna Dia Israeil gu saoghal nan
saoghal. Agus thubhairt an sluagh
uile, Amen, agus chliùthaich iad an
Tighearna.
37 Agus dh'fhàg e an sin fa chomh-
air àirce coimhcheangail an Tighear-
na, Asaph agus a bhràithre, a fhrith-
ealadh air beulaobh na h-àirc an
còmhnuidh, mar a dh'iarradh obair
gach là:
38 Agus Obed-edom, agus am
bràithrean, ochd agus tri fichead:
Obed-edom mar an ceudna, mac Ie-
dutuin, agus Hosah nan dorsairibh:
39 Agus Sadoc an sagart, agus a
bhràithre na sagairt, fa chomhair
pàilliuin an Tighearna, anns an àit
ard a *bh*'ann an Gibeon:
40 A dh'iobradh iobairt-loisgte
do'n Tighearn air altair na h-iobairt-
loisgte a ghnàth, fa' mhaduinn agus san
fheasgar, agus *a dheanamh* a réir gach
ni a ta scrìobhta ann an lagh an Tigh-
earna, a dh'àithn e do Israel:
41 Agus maille riu-san Heman a-
gus Iedutun, agus a' chuid eile a
thaghadh, a ghairmeadh [e] air an
ainmibh, a thoirt cliu [f] do'n Tighearn,
a chionn gu *bheil* a thròcair bith-
bhuan:
42 Eadhon maille riu-san Heman
agus Iedutun le trompaidibh agus le
ciombalaibh a' deanamh fuaim [g], agus
le h-innealaibh ciuil Dé: agus *bha*
mic Iedutuin nan dorsairibh.
43 Agus dh'fhalbh an sluagh uile,
gach duine d'a thigh féin: agus phill
Daibhidh a bheannachadh a thighe
féin.

C A I B. XVII.

A NIS an uair a bha Daibhidh na
shuidhe na thigh, thubhairt
Daibhidh ri Natan am fàidh, Feuch,
tha mise a'm' chòmhnuidh ann an tigh
seudair, ach *tha* àirc coimhcheangail
an Tighearna fuidh chùirteinibh.
2 Agus thubhairt Natan ri Daibh-
idh, Dean gach ni a *tha* ann ad
chridhe; oir *tha* Dia leat.
3 Agus air an oidhche sin féin
thàinig focal Dhé gu Natan, ag ràdh,
4 Falbh agus innis do m'òglach
Daibhidh, Mar so tha'n Tighearn ag
ràdh, Cha tog thusa dhomhsa tigh gu
còmhnuidh ghabhail ann:
5 Oir cha do ghabh mise còmh-
nuidh ann an tigh o'n là air an d'thug
mi nìos Israel as an Eiphit i gus an
la'n diugh, ach bha mi o bhùth gu
bùth, agus o phàilliun *gu pàilliun*.
6 Ge b'e taobh a chaidh mi le
h-Israel uile, an do labhair mi focal ri
h-aon

[a] *faoin*. [b] *nan sluagh*. [c] Faic Salm XCVI. r. 9. 10.
[d] *Thugaibh buidheachas do'n Tighearn*. [e] *a dh'ainmicheadh, a shonraicheadh*.
[f] *buidheachais*. [g] *fa'n comhair-san d'am buineadh fuaim a dheanamh*.
[h] *ceudair*. [i] II Samuel. Caib. VII. r. 6.

h-aon do bhreitheamhnaibh Israeil, (d'an d'âithn mi mo shluagh a bheathachadh,) ag ràdh, C'ar son nach do thog sibh dhomh tigh seudair?

7 A nis uime sin mar so their thu ri m' sheirbhiseach Daibhidh, Mar so tha Tighearna nan sluagh ag ràdh, thug mi thu o chrò nan caorach, o leantuinn nan caorach, gu bhi d'cheannard air mo shluagh Israel:

8 Agus bha mi leat gach taobh a chaidh tu, agus ghearr mi as do naimhdean uile romhad, agus rinn mi dhuit ainm cosmhuil ri ainm nan *daoine* mòra a *tha* air an talamh.

9 Agus dh'orduich[a] mi àite do m' shluagh Israel, agus shuidhich mi iad, agus gabhaidh iad còmhnuidh nan àit, agus cha ghluaisear iad tuilleadh; cha mhò a chlaoidheas clann na h-aingidheachd iad tuilleadh, mar an toiseach,

10 Agus o'n àm sin d'âithn mi do bhreitheamhnaibh *bhi* os cionn mo shluaigh Israeil: agus ceannsaichidh mi do naimhdean uile. Mar an ceudna tha mi 'g innseadh dhuit gu'n tog an Tighearna tigh dhuit.

11 Agus an uair a choimhlionar do làithean, agus gur éigin duit triall maille ri t'aithrichibh, togaidh mise suas do shliochd a'd' dhéigh, a bhios do d' mhacaibh, agus daingnichidh mi a rìoghachd-san.

12 Togaidh esan tigh dhomh, agus daingnichidh mi a rìgh-chaithir gu bràth.

13 Bithidh mi a'm' athair dha, agus bithidh esan na mhac dhomhsa; agus cha toir mi mo thròcair air falbh uaith, mar a thug mi uaith-san a bha romhad-sa.

14 Agus suidhichidh mi e ann am thigh agus ann am rìoghachd gu bràth[illegible]gus bithidh a rìgh-chaithir daingean gu bràth.

15 A réir nam briathra so uile, agus a réir an taisbeanaidh so uile, mar sin labhair Natan ri Daibhidh.

16 An sin chaidh rìgh Daibhidh a stigh, agus shuidh e am fianuis an Tighearna, agus thubhairt e, Cò mise, O Thighearna Dhé, agus ciod e mo thigh, gu'n d'thug thu mi gu ruige so?

17 Agus bu bheag so a'd' shùilibhsa, O Dhé, oir labhair thu *mar an ceudna* mu thigh do sheirbhisich rè aimsir fhada ri teachd, agus thug thu meas[b] orm a réir staid duine ard-inbhich, a Thighearna Dhé.

18 Ciod tuilleadh is urrainn Daibhidh a ràdh[c] riut, air son urraim do sheirbhisich? ach is aithne dhuit do sheirbhiseach.

19 A Thighearn, is ann air son do sheirbhisich[d], agus a réir do chridhe féin a rinn thu na nithe mòra so uile, a chum gu'n deanadh tu na nithe mòra *so* gu léir aithnichte.

20 O Thighearna, cha '*n'eil* neach ann cosmhuil riutsa, agus cha '*n'eil* Dia ann ach thusa, a réir gach ni a chuala sinn le'r cluasaibh.

21 Agus cia an cinneach air thalamh cosmhuil ri d' shluagh Israel, a chaidh Dia a shaoradh mar shluagh dha féin, a dheanamh ainme dhuit féin, *a dheanamh* nithe mòra agus namhasach le cinnich fhògradh roimh do shluagh, a shaor thu as an Eiphit[e]?

22 Oir rinn thu do shluagh Israel nan sluagh dhuit féin gu bràth; agus tha thusa, a Thighearn, a'd' Dhia aca.

23 A nis uime ta, a Thighearna, am focal a labhair thu mu thimchioll do sheirbhisich, agus mu thimchioll a thighe, daingnichear e gu bràth, agus dean mar a thubhairt thu.

24 Biodh e eadhon air a dhaingneachadh, agus ardaichear t'ainm-sa gu bràth, ag ràdh, *Is e* Tighearna nan sluagh Dia Israeil, *is* Dia do Israel: agus *biodh* tigh Dhaibhidh do sheirbhisich air a dhaingneachadh a'd' fhianuis.

25 Oir dh'fhoillsich[f] thusa, O mo Dhia, do d' sheirbhiseach, gu'n togadh tu tigh dha: uime sin fhuair do sheirbhiseach *na chridhe* urnuigh a dheanamh a'd' làthair.

26 Agus a nis, a Thighearn, is tu féin Dia, agus ghealll thu do d' sheirbhiseach am maitheas so.

27 A nis uime sin gu ma toil leat tigh do sheirbhisich a bheannachadh, a chum

[a] *orduichidh.* [b] *dh'amhairc thu.* Eabh. [c] Faic II. Sam. Caib. VII. r. 20. [d] *air son t'fhocail.* II. Sam. Caib. VII. r. 21. [e] II. Sam. Caib. VII. r. 23. [f] *dh'innis.*

a chum gu'm bi e gu bràth a'd'
shianuis: oir an uair a bheannuicheas
tusa, a Thighearna, beannuichte
bithidh e gu bràth.

C A I B. XVIII.

AGUS an déigh so bhuail Daibh-
idh na Philistich, agus cheann-
saich e iad; agus ghlac e Gat agus a
bhailte beaga as làimh nam Philis-
teach.
2 Agus bhuail e Moab: agus bha
na Moabaich nan seirbhisich aig
Daibhidh, agus thug iad tabhartais
leo[a].
3 Agus bhuail Daibhidh Hadar-
eser[b] righ Shobah gu ruig Hamat, an
uair a chaidh e a dhaingneachadh a
thighearnais[c] aig abhuinn Euphrateis.
4 Agus thug Daibhidh uaith mìle
carbad, agus seachd mìle marcach, a-
gus fichead mìle coisiche: agus ghearr
Daibhidh speireacha *each* nan carbad
uile, ach dh'fhàg e dhiubh *dìol* cheud
carbad.
5 Agus an uair a thàinig Sirianaich
Dhamascuis a chuideachadh le Had-
areser righ Shobah, mharbh Daibhidh
do na Sirianaich dà mhìle fichead
fear.
6 An sin chuir Daibhidh freicead-
ain[d] ann an Siria Dhamascuis; agus
bha na Sirianaich nan seirbhisich aig
Daibhidh, agus thug iad tabhartais
leo, Agus ghléidh an Tighearna
Daibhidh gach taobh a chaidh e.
7 Agus ghabh Daibhidh na sgiath-
an òir a bh'air seirbhisich Hadareseir,
agus thug e iad gu h-Ierusalem.
8 Agus o Thibat agus o Chun,
bailtibh Hadareseir, thug Daibhidh
ro-mhòran umha, leis an d'rinn
Solamh an fhairge umha, agus na
puist, agus na soithichean umha.
9 Agus an uair a chuala Tou[e] righ
Hamait gu'n do bhuail Daibhidh uile
shluagh Hadareseir righ Shobah,
10 Chuir e Hadoram a mhac gu
righ Daibhidh, a chur fàilte air, agus
g'a bheannachadh, a chionn gu'n do
chog e 'n aghaidh Hadareseir, agus
gu'n do bhuail se e; (oir bha Hadar-
eser a' cogadh ri Tou;) agus *leis-*
san gach uile ghnè shoithichean òir,
agus airgid, agus umha.
11 Iad sin mar an ceudna choisrig
righ Daibhidh do'n Tighearna, maille
ris an airgiod agus an òr a thug e o
na cinneachaibh *so* uile; o Edom, agus
o Mhoab, agus o chloinn Amoin, agus
o na Philistich, agus o Amalec.
12 Os bàrr, mharbh Abisai mac
Sheruiah do na h-Edomaich ann an
gleann an t-salainn ochd mìle deug.
13 Agus chuir e freiceadain ann an
Edom, agus bha na h-Edomaich uile
nan seirbhisich aig Daibhidh. Agus
ghléidh an Tighearna Daibhidh gach
taobh a chaidh e.
14 Agus rìoghaich Daibhidh air
Israel uile; agus bha e a' cur an
gnìomh breitheanais agus ceartais d'a
shluagh uile.
15 Agus *bha* Ioab mac Sheruiah os
cionn na h-armailte, agus Iehosaphat
mac Ahiluid na sheanachaidh;
16 Agus Sadoc mac Ahituib, agus
Ahimelech[f] mac Abiatair nan sag-
artaibh; agus Sabhsa na scrìobhuiche;
17 Agus Benaiah mac Iehoiada os
cionn nan Cereteach, agus nam Pelet-
each. Agus *b'iad* mic Dhaibhidh bu
mhò inbhe mu thimchioll an righ.

C A I B. XIX.

AGUS an déigh so fhuair Nahas
righ chloinn Amoin bàs, agus
rìoghaich a mhac na àit.
2 Agus thubhairt Daibhidh, Nochd-
aidh[g] mi caoimhneas do Hanun mac
Nahais, a chionn gu'n do nochd 'ath-
air-san caoimhneas dhomhsa. Uime
sin chuir Daibhidh teachdairean gu
comhfhurtachd[h] a thoirt da mu thim-
chioll 'athar: agus thàinig seirbhisich
Dhaibhidh do fhearann chloinn Amoin
gu Hanun, chum comhfhurtachd a
thabhairt da.
3 Ach thubhairt ceannardan chloinn
Amoin ri Hanun, An saoil thusa gur
ann a chum urram a thabhairt do
t'athair a chuir Daibhidh a't' ionnsuidh
luchd comhfhurtachd? nach ann a
rannsachadh, agus a ghabhail beachd
air

a *dh'ìoc iad cìs* dha. b *Hadadeser.* c *a làimhe.* Eabh.
d II. Sam. Caib. VIII. r. 6. e *Toi.* f *Abimelech.* g *Feuchaidh*
h *sòlas.*

air an fhearann, agus g'a ſgrios[a], a thàinig a ſheirbhiſich a't' ionnſuidh?

4 Uime ſin ghlac Hanun ſeirbhiſich Dhaibhidh, agus bhearr e iad, agus ghearr e an eudach ſa' mheadhon, gu ruig am màſan; agus chuir e air falbh iad.

5 Agus chaidh *daoine*, agus dh'innis iad do Dhaibhidh mar a bhuineadh ris na fearaibh, agus chuir eſan *teachdairean* nan coinneamh, a chionn gu'n robh nàire mhòr air na daoinibh: agus thubhairt an righ, Fanaibh ann an Iericho gus am fàs bhur ſeuſag, agus *an ſin* pillibh.

6 Agus an uair a chunnaic clann Amoin gu'n d'rinn ſiad iad féin* gràineil[b] do Dhaibhidh, chuir Hanun agus clann Amoin mìle tàlann airgid a thuaraſdalachadh charbad agus marc-ſhluaigh dhoibh a Meſopotamia, agus a Siria-maachah, agus a Sobah.

7 Agus thuaraſdalaich iad dà mhìle dheug thar fhichead *fear*, *agus* carbadan[c], agus righ Mhaachah agus a ſhluagh; agus thàinig iadſan agus champaich iad fa chomhair Mhedeba. Agus chruinnich clann Amoin iad féin an ceann a chéile as am bailtibh, agus thàinig iad chum catha.

8 Agus an uair a chuala Daibhidh *ſin*, chuir e mach Ioab, agus uile fheachd[d] nan daoine treuna.

9 Agus thàinig clann Amoin a mach, agus chuir iad an cath an ordugh fa chomhair geataidh a' bhaile: agus *bha* na righrean a thàinig, leo féin anns a' mhachair.

10 Agus an uair a chunnaic Ioab gu'n robh aghaidh a' chatha ris air a bheulaobh, agus air a chùlaobh, thagh e mach *cuid* do uile *dhaoinibh* taghta Iſraeil, agus chuir e ann an ordugh catha *iad* an aghaidh nan Sirianach.

11 Agus a' chuid eile do'n t-ſluagh thug e thairis do làimh Abiſai a bhràthar, agus chuir iadſan *iad féin* an ordugh an aghaidh chloinn Amoin.

12 Agus thubhairt e, Ma bhios na Sirianaich ni's treiſe na miſe, an ſin cuidichidh tuſa leamſa: ach ma bhios clann Amoin ni's treiſe na thuſa, an ſin cuidichidh miſe leatſa.

13 Bi miſneachail, agus biomaid gaiſgeil air ſon ar ſluaigh, agus air ſon bhailtean ar Dé: agus deanadh an Tighearn an *ni a ta* maith na ſhùilibh.

14 Agus thàinig Ioab am fagus, agus an ſluagh a *bha* maille ris an aghaidh, nan Sirianach gu cath: agus theich iad roimhe.

15 Agus an uair a chunnaic clann Amoin gu'n do theich na Sirianaich, theich iadſan mar an ceudna roimh Abiſai a bhràthair, agus chaidh iad a ſteach do'n bhaile. An ſin thàinig Ioab gu h-Ieruſalem.

16 Agus an uair a chunnaic na Sirianaich gu'n do bhuaileadh iad roimh Iſrael, chuir iad teachdairean uatha, agus thug iad a mach na Sirianaich a *bh*'air an taobh thall do'n abhuinn; agus *chuidh* Sophach ceannard armailte Hadareſeir rompa.

17 Agus an uair a dh'innſeadh ſin do Dhaibhidh, chruinnich e Iſrael uile, agus chaidh e thar Iordan, agus thàinig e orra, agus chuir e'n *cath* an ordugh nan aghaidh. Agus an uair a chuir Daibhidh an cath an ordugh an aghaidh nan Sirianach, chog iad ris.

18 Agus theich na Sirianaich roimh Iſrael, agus mharbh Daibhidh do na Sirianaich *fir* ſheachd mìle carbad, agus dà fhichead mìle coiſiche, agus mharbh e Sophach ceannard na h-armailte.

19 Agus an uair a chunnaic ſeirbhiſich Hadareſeir gu'n do bhuaileadh iad roimh Iſrael, rinn iad ſith ri Daibhidh, agus rinn iad ſeirbhis da: agus cha chuidicheadh na Sirianaich le cloinn Amoin tuille.

CAIB. XX.

AGUS aig teachd mu'n cuairt na bliadhna, mu'n ām anns an dthéid righrean a mach *gu cogadh*, tharruing Ioab a mach neart an airm, agus chuir e fas dùthaich chloinn Amoin, agus thàinig e agus theannaich e Rabah; (ach dh'fhan Daibhidh ann an Ieruſalem;) agus bhuail Ioab Rabah, agus ſgrios ſe e.

2 Agus thug Daibhidh crùn an righ bhàrr a chinn, agus fhuair e cudthrom tàlainn òir ann, agus *bha* clacha luachmhor

[a] *g'a chur bun os cionn.* Faic. II. Sam. Caib. X. r. 3. [b] *fuathach.*
[c] *dà mhìle dheug thar fhichead carbad.* [d] *armailt, ſluagh.*

luachmhor ann; agus chuireadh e air
ceann Dhaibhidh; agus thug e mach
ro-mhòran creiche as a' bhaile.
3 Agus thug e mach an sluagh a
bha ann, agus ghearr e *iad* le sàbhan,
agus le h-innealaibh-bualaidh [a] iaruinn,
agus le tuaghaibh: agus mar so bhuin
Daibhidh ri uile bhailtibh chloinn
Amoin. Agus phill Daibhidh agus an
sluagh uile gu h-Ierusalem.
4 Agus na dhéigh so dh'éirich
cogadh ann an Geser ris na Philistich:
an sin bhuail Sibechai an t-Husatach
Sipai *a bha* do shliochd an fhamhair,
agus cheannsaicheadh iad.
5 Agus bha rìs cogadh ris na
Philistich; agus bhuail Elhanan mac
Iair Lahmi bràthair Gholiath a'
Ghitich, aig *an robh* crann a shleagha
mar gharmain [b] figheadair.
6 Agus bha fathast cogadh ann an
Gat, far an robh fear do mheudachd
mhòir, agus sè meoir aige *air gach
làimh*, agus sè *air gach cois*, ceithir thar
fhichead *an àireamh;* agus rugadh esan
mar an ceudna do'n fhamhair.
7 Ach an uair a thug e dùbhlan
do Israel, mharbh Ionatan mac Shimea,
bràthair Dhaibhidh, e.
8 Rugadh iad sin do'n fhamhair
ann an Gat; agus thuit iad le làimh
Dhaibhidh, agus le làimh a shheirbh-
iseach.

CAIB. XXI.

AGUS sheas Satan suas an aghaidh
Israeil, agus bhrosnuich e
Daibhidh gu Israel àireamh.
2 Agus thubhairt Daibhidh ri
Ioab, agus ri uachdaranaibh an
t-sluaigh, Rachaibh, àirmhibh Israel
o Bheer-seba eadhon gu Dan; agus
thugaibh an àireamh a'm' ionnsuidh-
sa, chum gu'm bi fios agam air.
3 Agus fhreagair Ioab, Gu'n
deanadh an Tighearn a shluagh féin
ceud uair ni's lionmhoire na *tha* iad:
Ach, mo thighearn a righ, nach iad
seirbhisich mo thighearn iad uile?
C'ar son ma seadh a tha mo thighearn
ag iarraidh an ni so? C'ar son a bhios
e na aobhar ciontaidh do Israel?
4 Gidheadh, bhuadhaich focal an
righ an aghaidh Ioaib: uime sin
dh'imich Ioab, agus chaidh e air
feadh Israeil uile, agus thàinig e gu
h-Ierusalem.
5 Agus thug Ioab uibhir àireimh
an t-sluaigh do Dhaibhidh: agus bha
ann do Israel uile, mìle do mhìltibh
agus ceud mìle fear a tharruing claidh-
eamh; agus do Iudah, ceithir cheud
agus deich agus tri fichead mìle fear
a tharruing claidheamh.
6 Ach Lebhi agus Beniamin cha
d'àireamh e nam measg; oir bha
focal an righ gràineil do Ioab.
7 Agus mhi-thaitinn an ni so ri
Dia: uime sin bhuail e Israel.
8 Agus thubhairt Daibhidh ri Dia,
Pheacaich mi gu mòr, a chionn gu'n
d'rinn mi an ni so; ach a nis, guidh-
eam ort, thoir air falbh cionta do
sheirbhisich; oir rinn mi gu ro-
amaideach.
9 Agus labhair an Tighearna ri
Gad, fear-seallaidh Dhaibhidh, ag
ràdh,
10 Falbh agus labhair ri Daibhidh,
ag ràdh, Mar so tha'n Tighearn ag
ràdh, Tri *nithe* tha mi cur fa d'
chomhair; ròghnaich dhuit féin aon
diubh, chum gu'n dean mi dhuit *e*.
11 Agus thàinig Gad a dh'ionn-
suidh Dhaibhidh, agus thubhairt e ris,
Mar so tha'n Tighearn ag ràdh,
Gabh do roghainn:
12 Aon chuid tri bliadhna gort-
aidh; no bhi tri mìosan a' teich-
eadh [c] roimh do naimhdibh, agus
claidheamh do naimhdean a' breith
ort; no tri laithean do chlaidheamh
an Tighearn, eadhon do'n phlàigh
anns an fhearann, agus aingeal an
Tighearn a' sgrios air feadh uile
chrìochan Israeil: a nis uime sin faic
ciod a fhreagaireas mi dha-san a chuir
uaith mi.
13 Agus thubhairt Daibhidh ri
Gad, *Tha* mi ann an teinn mhòir:
tuiteam a nis ann a làimh an Tigh-
earna, oir is ro-lionmhor a thròcair-
ean, ach ann an làimh duine na tuit-
eam.

[a] *cliathaibh.* [b] *sail.* [c] *air do chlaoidh.* Faic II. Sam. Cab. XXIV. r. 13.

14 Agus chuir an Tighearna plàigh
air Iſrael: agus thuit do Iſrael deich
agus tri fichead mìle fear.
15 Agus chuir Dia aingeal gu
h-Ierusalem, chum a ſgrios: agus an
uair a bha e a' ſgrios, dh'amhairc an
Tighearn, agus ghabh e aithreachas a
thaobh an uilc, agus thubhairt e ris
an aingeal a bha ri ſgrios, *Is* leòr
e; cum a nis air do làimh. Agus
ſheas aingeal an Tighearna làimh ri
urlar-bualàidh Ornain [a] an Iebuſaich.
16 Agus thog Daibhidh ſuas a
ſhùilean, agus chunnaic e aingeal an
Tighearn na ſheaſamh eadar talamh
agus nèamh, agus a chlaidheamh
rùiſgte na làimh, sìnte mach os cionn
Ieruſaleim: agus thuit Daibhidh agus
ſeanairean *Iſraeil*, còmhdaichte le
ſaic-eudach, sìos air an aghaidh.
17 Agus thubhairt Daibhidh ri Dia,
Nach miſe a dh'àithn an ſluagh àir-
eamh? Is miſe féin a pheacaich, agus
a rinn gu ro olc; ach na caoraich ſo,
ciod a rinn iadſan? Bitheadh do làmh,
guidheam ort, a Tighearna mo
Dhia, a'm' aghaidh ſa, agus an aghaidh
tighe m'athar; ach an aghaidh do
ſhluaigh na *bitheadh i*, gu plàigh *a
chur orra*.
18 An ſin dh'àithn aingeal an
Tighearna do Ghad a ràdh ri Daibhidh,
gu'n rachadh Daibhidh ſuas a thogail
altarach do'n Tighearna ann an urlar-
bualàidh Ornain an Iebuſaich.
19 Agus chaidh Daibhidh ſuas air
focal Ghaid, a labhair e ann an ainm
an Tighearna.
20 Agus thionndaidh Ornan air ais,
agus chunnaic e an t-aingeal [b]; agus
dh'fholaich a cheathrar mac, *a bha*
maille ris, iad féin. A nis bha Ornan
a' bualadh cruithneachd.
21 Agus an uair a thàinig Daibh-
idh a dh'ionnſuidh Ornain, dh'amhairc
Ornan agus chunnaic e Daibhidh, a-
gus chaidh e mach as an urlar-bhual-
aidh, agus chrom ſe e féin do Dhaibh-
idh le 'aghaidh gu làr.
22 An ſin thubhairt Daibhidh ri
Ornan, Thoir dhomhſa àit an urlar-
bhualaidh ſo, a chum gu'n tog mi
altair ann do'n Tighearna: air a làn
luach [c] bheir thu dhomh e, a chum
gu'n caiſgear a' phlàigh o'n t-ſluagh.
23 Agus thubhairt Ornan ri Daibh-
idh, Gabh thugad [d] e, agus deanadh
mo thighearn an righ an *ni a tha* maith
na ſhùilibh: feuch, tha mi toirt a'
bhuair *dhuit* chum ìobairtean-loiſgte,
agus nan innealan-bualaidh chum conn-
aidh, agus a' chruithneachd chum
tabhartais-bìdh: ſin uile tha mi toirt
duit.
24 Agus thubhairt righ Daibhidh
ri Ornan, Ni h-eadh, ach gu deimhin
ceannaichidh mi *iad* air *an* làn luach;
oir cha ghabh mi *an ni* a's leatſa *gu
thoirt* do'n Tighearna, agus cha d'thoir
mi ſuas ìobairtean-loiſgte gun choſtus.
25 Uime ſin thug Daibhidh do
Ornan air an àite, sè ceud ſecel òir
air thomhas.
26 Agus thog Daibhidh an ſin
altair do'n Tighearna, agus dh'iobair
e ìobairte-loiſgte agus ìobairte sìth, a-
gus ghairm e air an Tighearn; agus
fhreagair ſe e le teine *o* nèamh air
altair na h-ìobairt-loiſgte.
27 Agus dh'àithn an Tighearna
do'n aingeal, agus chuir e ſuas a
chlaidheamh a rìs na thruaill.
28 San àm ſin, an uair a chunnaic
Daibhidh gu'n do fhreagair an Tigh-
earn e ann an urlar-bualaidh Ornain
an Iebuſaich, dh'iobair e an ſin:
29 Oir *bha* pàilliun an Tighearn a
rinn Maois ſan fhàſach, agus altair na
h-ìobairt-loiſgte ſan àm ſin anns an àit
ard ann an Gibeon.
30 Ach cha b'urrainn Daibhidh dol
na làthair, a dh'fhioſrachadh do Dhia;
oir bha e fuidh eagal air ſon claidh-
eimh aingil an Tighearna.

C A I B. XXII.

AGUS thubhairt Daibhidh, *Is* e
ſo [e] tigh an Tighearna Dé, a-
gus *is i* ſo altair na h-ìobairte-loiſgte
do Iſrael.
2 Agus dh'àithn Daibhidh na coig-
rich a *bha* ann am fearann Iſraeil a
chruinneachadh an ceann a chéile;
agus chuir e clachairean a ghearradh
chlach ſnaidhte a thogail tighe Dhé.
3 Agus ſholair Daibhidh iarunn
ann

[a] *Araunah.* II. Sam. Caib. XXIV. r. 16. [b] *an righ.* [c] *làn*
[illegible]. Eabh. [d] *chugad.* [e] *an ſo* bithidh.

ann am pailteas chum tairngean do chomhlaichibh [a] nan geata, agus a chum nan dlùthadh; agus umha ann am pailteas, gun tomhas;

4 Agus fiodh seudair gun àireamh, oir thug na Sidonaich agus muinntir Thiruis fiodh seudair am pailteas a dh'ionnsuidh Dhaibhidh.

5 Agus thubhairt Daibhidh, Tha Solamh mo mhac òg agus maoth; agus an tigh *a tha* ri thogail do'n Tighearn, *is còir* a dheanamh mòr agus ard [b], a chum gu'm bi e ainmeil agus na aobhar uaill air feadh gach uile thìr: uime sin ulluichidh mise fa chomhair. Agus dh'ulluich Daibhidh gu pailt roimh a bhàs.

6 Agus ghairm e air Solamh a mhac, agus dh'àithn e dha tigh a thogail do'n Tighearna Dia Israeil.

7 Agus thubhairt Daibhidh ri Solamh, A mhic, air mo shonsa dheth, bha ann am aire tigh a thogail do ainm an Tighearna mo Dhé;

8 Ach thàinig focal an Tighearn a'm' ionnsuidh, ag ràdh, Dhòirt thu mòran fola, agus rinn thu cogannan mòra: cha tog thu tigh do m'ainmsa, chionn gu'n do dhòirt thu mòran fola air an talamh a'm' fhianuis.

9 Feuch, beirear mac dhuit: bithidh esan na dhuine foistinneach, agus bheir mise fois dha o 'naimhdibh uile m'an cuairt; oir bithidh Solamh mar ainm air, agus sìth agus fhaimhneas bheir mise do Israel r'a linn-san.

10 Togaidh esan tigh do m'ainmsa, agus bithidh e na mhac dhomh, agus *bithidh* mise a'm' athair dha-san; agus daingnichidh mi rìgh-chaithir a rioghachd os cionn Israeil gu bràth.

11 A nis uime sin, a mhic, gu'n robh an Tighearna maille riut, chum gu'n soirbhich thu, agus gu'n tog thu tigh an Tighearna do Dhé, mar a labhair e mu d' thimchioll.

12 A mhàin gu'n dthugadh an Tighearna dhuit gliocas agus tuigse, agus gu'n dthugadh e dhuit àithne a thaobh Israeil, chum gu'n gléidh thu lagh an Tighearna do Dhé.

13 An sin soirbhichidh tu, ma bheir thu 'n aire gu'n coimhlion thu na reachdan agus na breitheanais a dh'àithn an Tighearna do Mhaois a thaobh Israeil: bi làidir agus biodh deagh mhisneach agad, na gabh eagal agus na bi fa uamhann.

14 A nis feuch, ann am theanntachd [c] dh'ulluich mise fa chomhair tighe an Tighearna ceud mìle tàlann òir, agus mìle do mhìltibh tàlann airgid, agus do umha agus do iarunn gun tomhas (oir a tà ro-phailteas ann:) fiodh mar an ceudna agus clachan dh'ulluich mi; ach feudaidh tusa cur riu.

15 Mar an ceudna *tha* luchd-oibre am pailteas agad, snaidheadairean agus luchd saoithreach cloiche agus fiodha, agus gach uile ghnè dhaoine tùrail [d] fa chomhair gach gnè oibre.

16 Air an òr, an airgiod, agus an umha, agus an iarunn, cha *'n eil* àireamh. Eirich agus dean romhad, agus gu robh an Tighearna maille riut.

17 Dh'àithn Daibhidh mar an ceudna do uachdaranaibh Israeil gu léir, iad a chuideachadh le Solamh a mhac, *ag ràdh*,

18 Nach *'eil* an Tighearna bhur Dia maille ribh, agus nach d'thug e dhuibh fuaimhneas [e] air gach taobh? oir thug e luchd-àiteachaidh na tìre a'm' làimh-sa, agus tha'n tìr air a ciosnachadh roimh an Tighearn, agus roimh a shluagh.

19 A nis uime sin socraichibh bhur cridhe agus bhur n-anam a dh'iarraidh an Tighearna bhur Dé: éiribhse agus togaibh ionad naomh an Tighearna Dé, chum gu'n dthoir sibh steach àirc coimhcheangail an Tighearna, agus soithichean naomha Dhé, do'n tigh a tha r'a thogail do ainm an Tighearna.

C A I B. XXIII.

A NIS an uair a bha Daibhidh sean agus làn do laithibh, rinn e Solamh a mhac na rìgh air Israel.

2 Agus chruinnich e 'n ceann a chéile ceannardan [f] Israeil uile, agus na sagairt agus na Leibhithich.

 3 Agus

[a] dhorsaibh. [b] a dheanamh ro-mhòr. [c] bleochlainn, àmhghar.
[d] glic, seòlta. [e] fois. [f] uachdarain.

3 Agus dh'àirmheadh na Lebhithich o aois dheich bliadhna fichead agus os a chionn: agus b'e an àireamh air an cinn, duin' air dhuine, ochd mìle deug thar fhichead.

4 Dhiubh sin *bha* ceithir mìle fichead gu obair tighe an Tighearn a chur air a h-aghaidh, agus sè mìle nan luchd-riaghlaidh agus nam breitheamhnaibh;

5 Agus ceithir mìle nan dorsairibh; agus ceithir mìle a' cliùthachadh an Tighearna leis na h-innealaibh a rinn *Daibhidh* [a] gu cliùthachadh.

6 Agus roinn Daibhidh iad nan roinnibh [b] eadar mhacaibh Lebhi, *eadhon* Ghersoin, Chohait agus Mherari.

7 Do na Gersonaich; Laadan agus Simei.

8 Mic Laadain; Iehiel an ceann, agus Setam, agus Ioel, triuir.

9 [Mic Shimei; Selomit, agus Hasiel, agus Haran, triuir.] *B*'iad sin cinn aithriche Laadain.

10 Agus mic Shimei; Iahat, Sidsa [c], agus Ieus, agus Beriah. *B*'iad sin mic Shimei, ceathrar.

11 Agus b'e Iahat an ceann, agus Sidsa an dara fear: ach cha robh mòran mhac aig Ieus agus Beriah; uime sin bha iad ann an aon àireamh, a réir tighe an aithriche.

12 Mic Chohait; Amram, Itsar, Hebron, agus Udsiel, ceathrar.

13 Mic Amraim; Aaron agus Maois: agus dhealaicheadh Aaron chum gu'n naomhaicheadh e na nithe ro-naomha, e féin agus a mhic gu bràth, gu'n loisgeadh e tùis an làthair an Tighearna, gu'm fritheileadh e dha, agus gu'm beannaicheadh e 'ainm gu bràth.

14 A nis *mu thimchioll* Mhaois òglaich Dhé, bha a mhic air an ainmeachadh do thréibh Lebhi.

15 Mic Mhaois; Gersom agus Eliefer.

16 Mic Ghersoim; Sebuel an ceann.

17 Agus b'iad mic Elieseir; Rehabiah an ceann. Agus cha robh aig Eliefer mic sam bith eile; ach bha mic Rehabiah ro-lìonmhor.

18 Mic Itsair: Selomit an ceann.

19 Mic Hebroin; Ieriah an ceud *fhear* [d], Amariah an dara, Iahasiel an treas, agus Iecameam an ceathramh.

20 Mic Udsieil; Micah an ceud *fhear*, agus Iesiah an dara.

21 Mic Mherari; Machli agus Musi: mic Mhachli: Eleasar agus Cis.

22 Agus fhuair Eleasar bàs, agus cha robh mic aige, ach a mhàin nigheana: agus ghabh am bràithre mic Chis iad.

23 Mic Mhusi; Machli, agus Eder, agus Ieremot, triuir.

24 *B*'iad sin mic Lebhi, a réir tighe an aithriche, cinn nan aithriche, mar a dh'àirmheadh iad le àireamh an ainmeanna air an cinn, a rinn obair seirbhis tighe an Tighearna, o aois fhichead bliadhna agus os a chionn.

25 Oir thubhairt Daibhidh, Tha'n Tighearna Dia Israeil air toirt fois d'a shluagh, agus gabhaidh iad còmhnuidh ann an Ierusalem gu bràth.

26 Agus mar an ceudna a thaobh nan Lebhitheach, cha *bhi*'m pàilliun aca *ni's mò* r'a iomchar, agus uile shoithichean a sheirbhis.

27 Oir le briathraibh deireannach Dhaibhidh dh'àirmheadh na Lebhithich o aois fhichead bliadhna agus os a chionn:

28 A chionn gu'*m b'e* an dreuchdsan bhi fuidh làimh mhac Aaroin fa chomhair seirbhis tighe an Tighearna, anns na cùirtibh, agus anns na seòmraichibh, agus ann an glanadh nan uile nithe naomha, agus *ann an* obair seirbhis tighe Dhé;

29 Araon fa chomhair an arain thaisbeanta, agus fa chomhair na mine mìne chum tabhartais-bidh, agus fa chomhair nam breacagan neoghoirtichte, agus fa chomhair nan nithe *a dheasaichear* san aghann agus a ròistear, agus fa chomhair gach uile ghnè tomhais agus meud;

30 Agus a chum seasamh gach maduinn a thoirt buidheachais agus cliu do'n Tighearna, agus mar an ceudna mu fheasgair;

31 Agus

[a] *a rinn mise* (arsa Daibhidh.) [b] *nam buidhnibh mu'n seach:* [c] *Sina.* [d] *an ceann.* Eabh.

31 Agus a chum gach iobairt-loisgte thoirt suas do'n Tighearn, air na sàbaidibh, agus air na gealaichibh nuadh [a], agus air na féillibh suidhichte, ann an àireamh, a réir na riaghailt a dh'àithneadh dhoibh a ghnàth an làthair an Tighearna.

32 Agus a chum gu'n gleidheadh iad cùram pailliuin a' choimhthionail, agus cùram an ionaid naoimh, agus cùram mhac Aaroin am bràithre, ann an seirbhis tighe an Tighearna.

C A I B. XXIV.

AGUS *is* iad so roinnean mhac Aaroin. Mic Aaroin; Nadab, agus Abihu, Eleasar agus Itamar.

2 Ach fhuair Nadab agus Abihu bàs roimh an athair, agus cha robh clann aca: uime sin fhritheil Eleasar agus Itamar ann an dreuchd an t-sagairt.

3 Agus roinn Daibhidh iad, araon Sadoc do mhacaibh Eleasair, agus Ahimelech do mhacaibh Itamair, a réir an àireimh nan seirbhis.

4 Agus fhuaradh [b] mic Eleasair ni's lionmhoire nam prìomh dhaoinibh [c] na mic Itamair; agus *mar so* roinneadh iad: Do mhacaibh Eleasair *bha* sè prìomh dhaoine [d] deug, a réir tighe an aithriche; agus do mhacaibh Itamair ochdnar, a réir tighe an aithriche.

5 Agus roinneadh iad le crannchur, iad so leo sin; oir bha uachdarain an ionaid naomha, agus uachdarain nam breitheamhna [e], do mhacaibh Eleasair agus do mhacaibh Itamair.

6 Agus scrìobh Semaiah mac Netaneeil an scrìobhuiche, *duine* do na Lebhithich iad, am fianuis an righ agus nan uachdaran, agus Shadoic an t-sagairt, agus Ahimeleich mhic Abiatair, agus cheann aithriche nan sagart agus nan Lebhitheach; aon phrìomh thigh [f] air a' ghabhail air son Eleasair, agus aon air a ghabhail air son Itamair.

7 Agus thàinig a' cheud chrann a mach do Iehoiarib, an dara do Iedaiah,

8 An treas do Harim, an ceathramh do Sheorim,

9 An cùigeadh do Mhalchiah, an sèathadh do Mhiamin;

10 An seachdamh do Hacots, an t-ochdamh do Abiah,

11 An naothadh do Iesua, an deicheamh do Shechaniah,

12 An t-aon-deug do Eliasib, an dara *crann* deug do Iacim,

13 An treas deug do Chupah, an ceathramh deug do Iesebeab,

14 An cùigeadh deug do Bhilgah, an sèathadh deug do Imer,

15 An seachdamh deug do Hedsir, an t-ochdamh deug do Aphses,

16 An naothadh deug do Phetahiah, am ficheadamh do Iehesecel,

17 An t-aon thar fhichead do Iachin, an dara thar fhichead do Ghamul,

18 An treas thar fhichead do Dhelaiah, an ceathramh thar fhichead do Mhaasiah.

19 *B'e* sin an àireamh a réir an seirbhis chum teachd a steach do thigh an Tighearn, a réir an gnàtha, fuidh làimh Aaroin an athar, mar a dh'àithn an Tighearna Dia Israeil dha.

20 Agus a thaobh a' chuid eile do mhacaibh Lebhi: do mhacaibh Amraim; Subael [g]: do mhacaibh Shubaeil; Iehdeiah.

21 A thaobh Rehabiah: do mhacaibh Rehabiah, an ceud fhear [h] Isiah.

22 Do na h-Itsaraich; Selomot: do mhacaibh Shelomoit; Iahat.

23 Agus mic Hebroin; Ieriah *an ceud fhear*, Amariah an dara, Iahasiel an treas, Iecamеam an ceathramh.

24 Do mhacaibh Udsieil; Michah: do mhacaibh Mhichah; Samir.

25 *B'e* bràthair Mhichah Isiah: do mhacaibh Isiah; Sechariah.

26 *B'iad* mic Mherari, Machli agus Musi: [mic Iaasiah; Beno.

27 Mic Mherari le Iaasiah; Beno, agus Soham, agus Sachur, agus Ibri.]

28 O Mhachli *thàinig* Eleasar, aig nach robh mic sam bith.

[a] *nomba.* [b] *fluaras.* [c] *nan ceannaibh dhaoine.* Eabh. [d] *ceanna.* [e] *uachdarain Dhé.* Eabh. [f] *tigh athar.* Eabh. [g] *Sebuel.* Caib. XXIII. r. 16. [h] *an ceann.* Eabh.

29 A thaobh Chis: mic Chis; Ierahmeel.

30 Agus mic Mhusi, Machli, agus Eder, agus Ierimot. *B*'iad sin mic nan Lebhitheach, a réir tighe an aithriche.

31 Agus chuir iad sin mar an ceudna crannchur fa chomhair am bràithre mhac Aaroin, am fianuis Dhaibhidh an righ, agus Shadoic, agus Ahimelеich, agus cheann aithriche nan sagart agus nan Lebhitheach, *eadhon* cinn nan aithriche fa chomhair am bràithrean a b'òige.

CAIB. XXV.

OS bàrr, chuir Daibhidh agus ceannardan an t-sluaigh air leth fa chomhair na seirbhis do mhacaibh Asaiph, agus Hemain, agus Ieduthuin, *daoine* a dheanadh fàidheadaireachd [a], le clàrsaichibh, le saltairibh, agus le ciombalaibh. Agus b'e àireamh an luchd-fritheala idh, a réir an seirbhis:

2 Do mhacaibh Asaiph; Sachur, agus Ioseph, agus Netaniah, agus Asarelah, mic Asaiph, fuidh làimh Asaiph a bha ri fàidheadaireachd a réir àithne an righ.

3 O Ieduthun: mic Ieduthuin; Gedaliah, agus Seri, agus Iesaiah, *agus Simei*, *agus* Hasabiah, agus Mattitiah, sèathnar fuidh làimh an athar Ieduthuin, a bha ri fàidheadaireachd le clàrsaich a thoirt buidheachais agus cliu do'n Tighearna.

4 O Heman: mic Hemain, Buciah, Mataniah, Udsiel, Sebuel, agus Ierimot, Hananiah, Hanani, Eliatah, Gidalti, agus Romamtiesser, Iosbecasah, Maloti, Hotir, Mahasiot.

5 *B*'iad sin uile mic Hemain, fhirseallaidh an righ, ann am briathraibh Dhé chum an adharc a thogail suas. Agus thug Dia do Heman ceithir mic dheug agus tri nigheana.

6 Bha iad so uile fuidh làimh an athar, fa chomhair laoidhean tighe Dhé, le ciombalaibh, saltairibh agus clàrsaichibh chum seirbhis tighe Dhé, fuidh làimh an righ, Asaiph, Hemain agus Ieduthuin [b].

7 Agus b'e an àireamh maille r'am bràithribh, a fhuair iunnsachadh air laoidhibh an Tighearna, *eadhon* iadsan uile a bha tùrail, dà cheud ceithir fichead agus ochdnar.

8 Agus chuir iad crannchur, buidheann an aghaidh *buidhne*, am beag co maith ris a' mhòr, an t-oid-iunnsaich co maith ris an fhoghlumach.

9 Agus thàinig an ceud chrannchur a mach air Asaph, do Ioseph: an dara do Ghedaliah, dha féin agus d'a bhràithribh agus d'a mhacaibh, dà fhear dheug:

10 An treas do Shachur, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

11 An ceathramh do Isri [c], d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

12 An cùigeadh do Netaniah, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

13 An sèathadh do Bhuciah, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug.

14 An seachdamh do Iesarelah [d], d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug.

15 An t-ochdamh do Iesaiah, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

16 An naothadh do Mhataniah, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

17 An deicheamh do Shimei, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

18 An t-aon deug do Asareel [e], d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

19 An dara *crannchur* deug do Hasabiah, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

20 An treas deug do Shubael, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

21 An ceathramh deug do Mhattitiah, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

22 An cùigeadh deug do Ierimot, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

23 An

[a] *a sheinneadh laoidhean fàistineachd.* [b] *a réir àithne an righ do Asaph, Ieduthun agus Heman.* [c] *Seri.* r. 3. [d] *Asarelah.* r. 2. [e] *Udsiel.* r. 4.

23 An sèathadh deug do Hananiah, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

24 An seachdamh deug do Iosbecasah, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

25 An t-ochdamh deug do Hanani, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

26 An naothadh deug do Mhaloti, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

27 Am ficheadamh do Eliatah, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

28 An t-aon thar fhichead do Hotir, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

29 An dara thar fhichead do Ghidalti, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

30 An treas thar fhichead do Mhahasiot, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug:

31 An ceathramh thar fhichead do Romamtiefer, d'a mhacaibh agus d'a bhràithribh, dà fhear dheug.

CAIB. XXVI.

A THAOBH roinnean nan dorsair: do na Corhaich, Meselemiah mac Chore, do mhacaibh Asaiph.

2 Agus mic Mheselemiah; Sechariah an ceud-ghin, Iediael an dara, Sebadiah an treas, Iatniel an ceathramh,

3 Elam an cùigeadh, Iehohanan an sèathadh, Elioenai an seachdamh.

4 Agus mic Obed-edoim; Semaiah an ceud-ghin, Iehosabad an dara, Ioah an treas, agus Sacar an ceathramh, agus Netaneel an cùigeadh,

5 Amiel an sèathadh, Isachar an seachdamh, Peultai an t-ochdamh; oir bheannaich Dia e.

6 Agus do Shemaiah a mhac rugadh mic, a bha riaghladh tighe an athar: oir *bu* daoine treun iad.

7 Mic Shemaiah; Otni, agus Rephael, agus Obed, Elsabad: agus *b'iad* am bràithre, daoine gaisgeil [a], Elihu agus Semachiah.

8 Iad sin uile do mhacaibh Obed-edoim: iad féin agus am mic agus am bràithrean, daoine comasach an neart sa chomhair na seirbhis, nan tri fichead agus a dhà, o Obed-edom.

9 Agus *bha* aig Meselemiah mic agus bràithre, daoine gaisgeil, ochd fir dheug.

10 Agus *bha* aig Hosah do chloinn Mherari, mic; Simri an ceann; (oir ge nach b'e an ceud ghin, gidheadh rinn 'athair e na cheann:

11 Hilciah an dara fear, Tebaliah an treas, Sechariah an ceathramh: uile mhic agus bhràithrean Hosah tri deug.

12 Dhiubh sin *bha* roinnean nan dorsair, *eadhon* do na prìomh dhaoinibh *a bha ri* faire fa chomhair am bràithrean, gu frithealadh ann an tigh an Tighearna.

13 Agus thilg iad croinn, am beag co maith ris a' mhòr, a réir tighe an aithriche, air son gach geataidh.

14 Agus thuit an crannchur a làimh na h-aird' an ear air Selemiah: agus thilg iad croinn air son a mhic Sechariah (comhairliche glic,) agus thàinig a chrannchur-san a mach mu thuath.

15 Do Obed-edom mu dheas, agus d'a mhacaibh tigh Asupim [b].

16 Do Shupim agus do Hosah a làimh na h-aird' an iar, maille ris a' gheatadh Salechet, làimh ri cruaidhrathad [c] na h-uchdaich, faire fa chomhair faire.

17 Air an taobh an ear *bha* sèathnar Lebhitheach, air an taobh mu thuath ceathrar gach là, air an taobh mu dheas ceathrar gach là, agus air taobh Asupim dithis agus dithis.

18 Aig Parbar a làimh na h-aird' an iar, ceathrar aig a' chruaidh-rathad, agus dithis aig Parbar.

19 Is iad sin roinnean nan dorsair do mhacaibh Chore, agus do mhacaibh Mherari.

20 Agus do na Lebhithich, *bha* Ahiah os cionn ionmhasan tighe Dhé, agus os cionn ionmhasan nan nithe naomha.

21 *A thaobh* mhac Laadain: mic a' Ghersonaich Laadain, prìomh aithriche

[a] *mic gaisge.* Eabh. [b] *tigh an tionail.* [c] *causey.* Sasg.

riche, *eadhon* o Laadan an Gerſonach
bha Iehieli.
22 Mic Iehieli; Setam, agus Ioel
a bhràthair *a bha* os cionn ionmhaſan
tighe an Tighearna.
23 Do na Hamramaich, do na
h-Idſaraich, do na Hebronaich, *agus*
do na h-Udſielich.
24 Agus *bha* Sebuel mac Gherſoim,
mhic Mhaois, na ard riaghlair air na
h-ionmhaſaibh.
25 Agus a bhràithre le Elieſer;
Rehabiah a mhac, agus Ieſaiah a mhac-
ſan, agus Ioram a mhac-ſan, agus
Sichri a mhac-ſan, agus Selomit a
mhac-ſan.
26 *B*'e Selomit ſo agus a bhràith-
rean, *a bha* os cionn uile ionmhaſa
nan nithe coiſrigte, a choiſrig Daibh-
idh an righ, agus cinn nan aithriche,
agus an ceannarda mhìlte agus cheud,
agus ceannardan an t-ſlòigh.
27 As na cathaibh agus as na
creachaibh choiſrig iad *tabhartais* a
chàramh tighe an Tighearna.
28 Agus gach uile *ni* a choiſrig
Samuel am fear feallaidh, agus Saul
mac Chis, Agus Abner mac Ner, agus
Ioab mac-Sheruiah, *agus* ge b'e neach
a choiſrig *ni air bith*, *bha ſin* fo làimh
Shelomit agus a bhràithrean.
29 Do na h-Idſaraich, *bha* Chen-
aniah agus a mhic fa chomhair nan
gnothuichean o'n leth muigh, os
cionn Iſraeil nan luchd-riaghlaidh [a]
agus nam breitheamhnaibh.
30 Do na Hebronaich, *bha* Haſ-
abiah agus a bhràithre, daoine gaiſ-
geil, mìle agus ſeachd ceud *fear*, nan
luchd riaghlaidh air Iſrael air an
taobh ſo do Iordan a làimh na h-airde
'n iar, ann an uile ghnothuichibh an
Tighearna, agus ann an ſeirbhis an
righ.
31 Do na Hebronaich, *b'e* Ieriah
ceann nan Hebronach a réir ginealach
'aithriche. Anns an dà fhicheadamh
bliadhna do rìoghachadh Dhaibhidh,
dh'iarradh iad, agus fhuaradh nam
meaſg daoine treun ann an Iaſer
Ghilead.
32 Agus a bhràithre, daoine gaiſ-
geil, dà mhìle agus ſeachd ceud, cinn
nan teaghlach: agus rinn Daibhidh
iad nan riaghladairibh os cionn nan
Reubeneach, agus nan Gadach, agus
leth-thréibh Mhanaſeh, anns gach ni
a bhuineadh do Dhia agus ann an
gnothuichibh an righ.

CAIB. XXVII.

ANIS *bha* clann Iſraeil, a réir an
àireimh, *eadhon* cinn nan aith-
riche [b], agus na ceannarda mhìlte a-
gus cheud, agus an luchd-riaghlaidh,
a' frithealadh do'n righ anns gach cùis
a bhuineadh do na roinnibh, a bha
teachd a ſteach agus a' dol a mach
mìos air mhìos, air feadh uile mhìos
na bliadhna: anns gach roinn *bha*
ceithir mìle fichead fear.
2 Os cionn na ceud roinne fa
chomhair a' cheud mhìos *bha* Iaſobeam
mac Shabdieil: agus na roinn-ſan *bha*
ceithir mìle fichead.
3 Do chloinn Pheres *bha* ceann uile
cheannardan an t'ſlòigh fa chomhair
a' cheud mhìos.
4 Agus os cionn roinn an dara
mìos *bha* Dodai an t-Ahohach, agus
air a roinn-ſan *b'e* Miclot am fear-
riaghlaidh: agus na roinn-ſan mar an
ceudna *bha* ceithir mìle fichead.
5 *B'e* treas ceannard an t-ſlòigh
fa chomhair an treas mìos Benaiah,
mac Iehoiada, ard ſhagairt: agus na
roinn-ſan *bha* ceithir mìle fichead.
6 So am Benaiah ud a bha treun
am meaſg an deich thar fhichead, a-
gus os cionn an deich thar fhichead:
agus na roinnſan *bha* Amiſabad a
mhac.
7 *B'e* 'n ceathramh *ceannard* fa
chomhair a' cheathramh mìos Aſahel
bràthair Ioaib, agus Sebadiah a mhac
na dhéigh: agus na roinn-ſan *bha*
ceithir mìle fichead.
8 *B'e*'n cùigeadh ceannard fa
chomhair a' chùigeadh mìos Samhut
an t-Iſrahach: agus na roinn-ſan *bha*
ceithir mìle fichead.
9 *B'e*'n sèathadh *ceannard* fa chomh-
air an t-sèathadh mìos, Ira, mac
Iceis, an Tecothach: agus na roinn-
ſan *bha* ceithir mìle fichead.
10 *B'e*'n ſeachdamh *ceannard* fa
chomhair an t-ſeachdamh mìos Heles
am Pelonach do chloinn Ephraim: a-
gus

[a] *luchd-dreuchd.* [b] *cinn nan teaghlach, na prìomh aithriche.*

gus na roinn san *bba* ceithir mìle fichead.

11 *B'e* 'n t-ochdamh *ceannard* fa chomhair an ochdamh mìos Sibecai an t-Husatach do na Sarhaich: agus na roinn-san *bba* ceithir mìle fichead.

12 *B'e*'n naothadh *ceannard* fa chomhair an naothadh mìos Abieser an t-Anetotach do chloinn Iamin: agus na roinn-san *bba* ceithir mìle fichead.

13 *B'e*'n deicheamh *ceannard* fa chomhair an deicheamh mìos Maharai an Netophatach do na Sarhaich: agus na roinn-san *bba* ceithir mìle fichead.

14 *B'e*'n t-aon *cheannard* deug fa chomhair an aon mhìos deug Benaiah am Piratonach do chloinn Ephraim: agus na roinn-san *bba* ceithir mìle fichead.

15 *B'e*'n dara *ceannard* deug fa chomhair an dara mìos deug Heldai an Netophatach o Otniel: agus na roinn-san *bba* ceithir mìle fichead.

16 Os bàrr, os cionn threubh Israeil: *b'e* ceannard nan Reubeneach, Elieser mac Shichri: nan Simeonach, Sephatiah mac Mhaachah:

17 Nan Lebhitheach, Hasabiah mac Chemueil: nan Aaronach, Sadoc:

18 *Ceannard* Iudah, Elihu[a] *aon* do bhràithribh Dhaibhidh: *ceannard* Isachair, Omri mac Mhichaeil:

19 Shebuluin, Ismaiah mac Obadiah: *ceannard* Naphtali, Ierimot mac Asrieil:

20 *Ceannard* chloinn Ephraim, Hosea mac Asasiah: leth-threibh Mhanasch, Ioel mac Phedaiah.

21 *Ceannard* leth-threibh Mhanasch ann an Gilead, Ido mac Shechariah: Bheniamin, Iaasiel mac Abneir:

22 Dhain, Asareel mac Ierohaim. *B'*iad sin ceannarda threubh Israeil.

23 Ach cha do ghabh Daibhidh an àireamh o aois fhichead bliadhna agus suidh; a chionn gu'n dubhairt an Tighearn, gu'n deanadh e Israel lionmhor mar reulta nan nèamh.

24 Thòisich Ioab mac Sheruiah air àireamh, ach cha do chrìochnaich e, a chionn gu'n robh air a shon so fearg an aghaidh Israeil; cha mhò chuireadh sios an uibhir[b] ann an àireamh[c] eachdraidh righ Dhaibhidh.

25 Agus os cionn ionmhasan an righ *bba* Asmabhet mac Adieil: agus os cionn nan tigh-tasgaidh anns na machairibh, anns na mòr-bhailtibh, agus anns na frithbhailtibh, agus anns na tùraibh[d], *bba* Iehonatan mac Udsiah.

26 Agus os an cionn-san a rinn obair na macharach ann an treabhadh an fhearainn *bba* Esri mac Cheluib.

27 Agus os cionn nam fion lios *bba* Simei an Ramatach: os cionn toraidh nam fion-lios sa-chomhair nam fionthaisgeach *bba* Sabdi an Siphmitheach.

28 Agus os cionn nan craobh ola agus nan craobh sicamoir a *bba* sna còmhnardaibh ìosal *bba* Baal-hanan an Gedereach: agus os cionn nan taisgeach ola *bba* Ioas.

29 Agus os cionn a' chruidh a bha air feurach ann an Saron *bba* Sitrai an Saronach: agus os cionn a' chruidh anns na gleanntaibh *bba* Saphat mac Adlai.

30 Os cionn nan càmhal mar an ceudna *bba* Obil an t-Ismaeleach: agus os cionn nan asal *bba* Iehdeiah am Meronotach.

31 Agus os cionn nan treud *bba* Iasis an t-Hagereach. *B'*iad sin uile luchd-riaghlaidh na maoin bu le righ Daibhidh.

32 Mar an ceudna *bba* Ionatan, bràthair-athar Dhaibhidh na chomhairleach, na dhuine glic, agus na scrìobhuiche: agus *bba* Iehiel mac Hachmoni maille ri mic an righ.

33 Agus *b'e* Ahitophel comhairleach an righ, agus Husai an t-Architheach companach[e] an righ.

34 Agus an déigh Ahitopheil *bba* Iehoiada mac Bhenaiah, agus Abiatar. Agus *b'e* Ioab ceannard armailt an righ.

C A I B. XXVIII.

AGUS chruinnich Daibhidh gu h-Ierusalem uile cheannardan Israeil, ceannarda nan treubh, agus ceannarda nan roinn[f] a bha frithealadh do'n

[a] *Eliab.* [b] *àireamh.* [c] *a reir àireimh.* [d] *caistealaibh.*
[e] *suidreach, caraid.* [f] *nam buidheann.*

do'n righ, agus na ceannarda mhìltean agus na ceannarda cheud, agus an luchd-riaghlaidh os cionn uile mhaoin agus ſpréidh an righ agus a mhac, leis an luchd-dreuchd, agus na daoinibh cumhachdach agus na daoinibh gaiſgeil uile.

2 An ſin ſheas Daibhidh an righ ſuas air a chosſaibh, agus thubhairt e, Eiſdibh riumſa, mo bhràithre, agus mo ſhluagh: *Bha* e agamſa a'm' chridhe tigh-còmhnuidh a thogail do àirc coimhcheangail an Tighearna, agus do ſtòl-chos ar Dé-ne, agus dh'ulluich mi ſa chomhair na h oibre:

3 Ach thubhairt Dia rium, Cha tog thu tigh do m'ainm-ſa, a chionn gu'n *robh* thu a't' fhear-cogaidh, agus gu'n do dhòirt thu fuil.

4 Gidheadh roghnaich an Tighearna Dia Iſraeil mi roimh uile thigh m'athar, gu bhi m' righ air Iſrael gu bràth: oir roghnaich e Iudah mar riaghlair, agus a tigh Iudah tigh m'athar-ſa, agus am meaſg mhac m'athar bu toil leis miſe a dheanamh a'm' righ os cionn Iſraeil uile.

5 Agus do m' mhacaibh uile (oir thug an Tighearna mòran mhac dhomh) roghnaich e Solamh mo mhac gu ſuidhe air righ-chaithir rìoghachd an Tighearna os cionn Iſraeil.

6 Agus thubhairt e rium, Togaidh Solamh do mhac mo thigh-ſa agus mo lùchairte; oir thagh mi e gu bhi na mhac agam, agus bithidh miſe a'm' athair aige-ſan.

7 Os bàrr, daingnichidh mi a rìoghachd gu bràth, ma bhios eſan ſeaſmhach a choimhlionadh m'àitheantan agus mo bhreitheanais, mar air an la'n diugh.

8 A nis uime ſin *guidheam oirbh* ann an ſealladh Iſraeil uile, coimhchruinneachaidh an Tighearna, agus ann an éiſdeachd ar Dé-ne, gleidhibh agus iarraibh uile àitheantan an Tighearna bhur Dé: chum gu ſealbhaich ſibh am fearann maith ſo, agus gu fàg ſibh *e* mar oighreachd d'ar cloinn nar déigh gu bràth.

9 Agus thuſa a Sholamh, a mhic, biodh aithne agad air Dia t'athar, agus dean ſeirbhis da le cridhe iomlan, agus le inntinn thoilich: oir tha'n Tighearn a' rannſachadh nan uile chridhe, agus a' tuigſinn uile dhealbhadh nan ſmuain: ma dh'iarras tus' eſan, gheibhear e leat; ach ma thréigeas tu e, tilgidh e uaith thu gu bràth.

10 Thoir an aire a nis, oir thagh an Tighearn thu gu tigh a thogail do'n ionad naomh; bi làidir agus dean e.

11 An ſin thug Daibhidh do Sholamh a mhac, sàmhladh an ſgàth thigh, agus a *thighean*, agus 'ionadan-ionmhais, agus a ſheòmraichean uachdarach, agus a ſheòmraichean an leth ſtigh, agus àite na caithir-thròcair.

12 Agus ſamhladh nan uile nithe a bha aige na inntinn [a], a thaobh lùchairtean tighe an Tighearna, agus a thaobh nan uile ſheòmraiche mu'n cuairt, a thaobh ionadan-ionmhais tighe Dhé, agus a thaobh ionada-taſgaidh nan nithe coiſrigte.

13 Mar an ceudna thaobh roinnean nan ſagart agus nan Lebhitheach, agus a thaobh uile oibre ſeirbhis tighe an Tighearna, agus a thaobh nan uile ſnoithiche ſeirbhis ann an tigh an Tighearna.

14 A thaobh òir air chudthrom chum *nithe* òir, chum uile innealan gach uile ghnè ſheirbhis; *a thaobh airgid* chum uile innealan airgid, air chudthrom chum uile innealan gach uile ghnè ſheirbhis:

15 Eadhon an cudthrom chum nan coinnleir òir, agus a chum an lòchrana òir, air chudthrom chum gach coinnleir agus a lòchrana: agus a chum nan coinnleir airgid air chudthrom, chum a' choinnleir agus a lòchrana, a réir feuma gach coinnleir.

16 Agus òr air chudthrom chum bhord an arain thaiſbeanta, chum gach buird, agus airgiod chum nam bord airgid;

17 Mar an ceudna òr glan chum nan greimichean feòla, agus nan cuach, agus nan copan: agus a chum nan foitheach-ionnlaid òir, òr air chudthrom fa chomhair gach foithich-ionnlaid; *agus airgiod* air chudthrom fa chomhair gach foithich-ionnlaid airgid:

18 Agus a chum altair na tùiſe ò[r]

fu-

[a] o'n Spiorad.

fìor-ghlan air chudthrom, agus òr fa
chomhair samhlaidh carbaid nan
cherub, a sgaoil a mach *an sgiathan*, a-
gus a chòmhdaich àirc coimhcheangail
an Tighearna.

19 So uile, *arsa Daibhidh*, thug an
Tighearn orm a thuigsinn ann an
sgriobhadh le a làimh orm, *eadhon* uile
oibre an t samhlaidh so.

20 Agus thubhairt Daibhidh ri
Solamh a mhac, Bi làidir agus gabh
misneach, agus dean e: na biodh eagal
ort, agus na bi fo uamhas, oir bithidh
an Tighearna Dia, mo Dhia-sa, leat;
cha 'n fhàilnich e thu, cha mhò a
thréigeas e thu, gus an crìochnaich
thu 'n obair uile fa chomhair seirbhis
tighe an Tighearna.

21 Agus feuch, roinnean nan sagart
agus nan Lebhitheach *maille riut*
chum uile sheirbhis tighe Dhé, agus
maille riut a chum gach uile ghnè
oibre, gach duine toileach tùrail fa
chomhair gach uile-ghnè sheirbhis; a-
gus na ceannardan agus an sluagh gu
h-iomlan freagarrach do t'àitheantaibh
uile.

C A I B. XXIX.

AGUS thubhairt Daibhidh an righ
ris a' choimhchruinneach uile,
Tha Solamh mo mhac d'an d'rinn Dia
a mhàin roghainn, òg agus maoth, a-
gus *tha* 'n obair mòr: oir cha'n ann
air son duine ach air son an Tighearna
Dé *tha* an lùchairt.

2 A-nis le m'uile neart dh'ulluich
mise fa chomhair tighe mo Dhé, an
t-or chum *nithe* do òr, agus an t-air-
giod chum *nithe* do airgiod, agus
an umha chum *nithe* do umha, agus an
t iarunn chum *nithe* do iarunn, agus
am fiodh chum *nithe* do fhiodh; clach-
an onics, agus clachan r'an cur,
clachan lonrach agus do iomadh dath,
agus gach uile ghnè chlach luachmhor,
agus clacha marmoir am pailteas.

3 Os bàrr, a chionn gu'n do shoc-
raich mi m'aigne air tigh mo Dhé,
tha agam do m' sheilbh àraidh féin,
do òr agus do airgiod a thug mi
seachad do thigh mo Dhé, a bhàrr air
na dh'ulluich mi uile fa chomhair an
tighe naomha,

4 Tri mìle tàlann òir, do òr na
h-Ophir, agus seachd mìle tàlann do
airgiod fìor-ghlan; a chòmhdachadh
bhallachan an tighe [a]:

5 An t-òr fa chomhair *nithe* do òr,
agus an t-airgiod fa chomhair *nithe* do
airgiod, agus fa chomhair gach uile
ghnè oibre *a nithear* le làmhaibh
luchd-cirde. Agus cò a tha toileach
air a sheirbhis a choisreagadh an diugh
do'n Tighearna?

6 An sin thug cinn nan aithriche [b]
agus uachdarain threubh Israeil, agus
na ceannarda mhìltean agus cheud,
maille ris an luchd-riaghlaidh os cionn
oibre an righ, tabhartais uatha gu
toileach.

7 Agus thug iad seachad fa chomh-
air seirbhis tighe Dhé, do òr cùig
mìle tàlann agus deich mìle darcon,
agus do airgiod deich mìle tàlann, a-
gus do umha ochd mìle deug tàlann,
agus ceud mìle tàlann iaruinn.

8 Agus ge b'e aig an d'fhuaradh
clacha *luachmhora*, thug iad seachad
iad do ionmhas tighe an Tighearna,
le làimh Iehieil a' Ghersonaich.

9 Agus rinn an sluagh gairdeachas
a chionn gu'n d'thug iad uatha gu
toileach, a chionn le cridhe iomlan
gu'n thug iad tabhartas uatha gu toil-
each do'n Tighearna: agus rinn
Daibhidh an righ mar an ceudna
gairdeachas le aoibhneas mòr.

10 Air an aobhar sin bheannaich
Daibhidh an Tighearn ann am fianuis
a' choimhchruinnich uile, agus thubh-
airt Daibhidh, Gu ma beannuicht' thu,
a Thighearna Dhia Israeil ar n-athar
gu saoghal nan saoghal.

11 *Is* leatsa, O Thighearn, a'
mhòrachd, agus an cumhachd, agus
a' ghlòir, agus a' bhuaidh, agus a'
mhòralachd; oir is leat na h-uile ata
air nèamh agus air talamh: *is* leat an
rioghachd, O Thighearna, agus tha
thu air t'ardachadh mar cheann thar
na h-uile.

12 Uaitse *tha teachd* araon saibhreas
agus urram, agus *tha* thu rioghachadh
os cionn gach uile, agus ann ad làimh
tha cumhachd agus neart; agus ann ad
làimh *tha e neach* a dheanamh mòr, a-
gus neart a thoirt do gach uile.

13 A nis uime sin, ar Dia-ne, tha
sinn

[a] *nan tighean.* [b] *nan teaghlach.*

sinn a' toirt buidheachais duit, agus a'
cliùthachadh t'ainm urramaich.

14 Ach cò mise, agus ciod iad mo
shluagh, gu'm biodh e 'nar comas
tabhartais a thoirt seachad co toileach
air an dòigh so? oir *is* ann uaitse *tha*
na h-uile nithe, agus is ann do d'
chuid féin a thug sinn duit:

15 Oir *is* coigrich sinne a'd' fhianuis
agus luchd cuairt, mar ar n-aithrich-
ean uile; mar fhaileus *tha* ar laithean
air thalamh, agus cha *'n'eil* buanas[a]
ann.

16 O Thighearn ar Dia, *tha* 'm
pailteas so uile a dh'ulluich sinne a
thogail tighe dhuit sa chomhair t'ainm
naomha *a' teachd* o d' làimh féin, agus
is leat féin e gu léir.

17 Tha fios agam mar an ceudna,
mo Dhia, gu'n dearbh thusa an cridhe,
agus gu bheil tlachd agad ann an
treibhdhireas. Do m' thaobh-sa, ann
an treibhdhireas mo chridhe thug mi
gu toileach uam mar thabhartas na
nithe so uile: agus a nis chunnaic mi
le h-aoibhneas do shluagh a tha 'n so
a làthair a' toirt seachad gu toileach
an tabhartais dhuitse.

18 O Thighearna Dhia Abrahaim,
Isaaic agus Israeil ar n-aithriche,
gléidh so gu bràth ann am breith-
neachadh smuainte cridhe do shluaigh,
agus ulluich an cridhe dhuit féin;

19 Agus thoir do Sholamh mo
mhac cridhe iomlan, a ghleidheadh
t'àitheanta, do theisteis agus do
reachda, agus a dheanamh nan *nithe*
so uile, agus a thogail na lùchairt sa
chomhair an d'ulluich mise.

20 Agus thubhairt Daibhidh ris a'
choimhchruinneachadh uile, A nis
beannaichibh an Tighearna bhur Dia.
Agus bheannaich an coimhchruinn-
eachadh gu léir an Tighearna Dia an
aithriche, agus chròm iad sìos an cinn,
agus thug iad urram do'n Tighearn
agus do'n righ.

21 Agus dh'ìobair iad ìobairtean
do'n Tighearna, agus thug iad seachad
ìobairte-loisgte do'n Tighearn air an
la màireach an déigh an là sin, eadhon
mìle tarbh, mìle reithe, agus mìle
uan, le'n tabhartais dibhe, agus ìobairt-
ean am pailteas air son Israeil uile.

22 Agus dh'ith agus dh'òl iad an
làthair an Tighearn air an là sin le
mòr shubhachas, agus rinn iad Solamh
mac Dhaibhidh na righ an daradh uair,
agus dh'ung iad e do'n Tighearna na
ard uachdaran, agus Sadoc na shagart.

23 Agus shuidh Solamh ann an
caithir rìoghail an Tighearna mar
righ an àite Dhaibhidh 'athar, agus
shoirbhich leis, agus bha Israel uile
ùmhal dha.

24 Agus strìochd na h-uachdarain
uile, agus na daoine cumhachdach, a-
gus mar an ceudna uile mhic righ
Daibhidh, iad féin do Sholamh an
righ.

25 Agus dh'ardaich an Tighearna
Solamh gu ro-mhòr an sealladh Israeil
uile, agus thug e mòralachd rìoghail
dha nach robh aig righ sam bith
roimhe ann an Israel.

26 Mar so rìoghaich Daibhidh mac
Iese os cionn Israeil uile.

27 Agus *b'*i 'n ùine a rìoghaich e
os cionn Israeil dà fhichead bliadhna:
ann an Hebron rìoghaich e seachd
bliadhna, agus ann an Ierusalem rìogh-
aich e tri *bliadhna* deug tha fhichead.

28 Agus fhuair e bàs ann an deagh
shean aois, làn do laithibh, do shaibh-
reas, agus do urram: agus rìoghaich
Solamh a mhac na àite.

29 A nis gnìomhara Sholaimh an
righ, eadar thoiseach agus dheireadh,
feuch, *tha* iad sgrìobhta ann an leabhar
Shamueil an fhir seallaidh, agus ann
an leabhar Natain an fhàidh, agus ann
an leabhar Ghad an fhir-seallaidh.

30 Maille r'a rìoghachadh gu léir,
agus a chumhachd, agus na h-aimsir-
ean a chaidh thairis air, agus thar Is-
rael, agus thar uile rìoghachd nan
dùchanna.

[a] *suireach.*

LEABHRAICHEAN

AN

T-SEANN TIOMNAIDH

AIR AN TARRUING

O'N CHEUD CHANAIN CHUM

GAELIC ALBANAICH.

ANN AN DA' EARRANN.

EARRANN II.

Air iarrtus na Cuideachd urramaich, a ta chum Eòlas CRIOSDAIDH a sgaoileadh air feadh Gàeltachd agus Eileana na h-ALBA.

EDINBURGH:

PRINTED BY C. STEWART, PRINTER TO THE UNIVERSITY, FOR THE SOCIETY IN SCOTLAND FOR PROPAGATING CHRISTIAN KNOWLEDGE, AND SOLD AT THEIR LIBRARY.

1807.

ENTERED AT STATIONERS HALL.

LEABHRAICHEAN.

NA DARA EARRANN.

CAIB.

II. EACHDRAIDH; *anns am bheil*......36
ESRA......10
NEHEMIAH......13
ESTER......10
IOB......42
SAILM......150
GNATH-FHOCAIL......31
ECLESIASTES......12
DAN SHOLAIMH......8
ISAIAH......66
IEREMIAH......52
TUIREADH......5
ESECIEL......48
DANIEL......12
HOSEA......14
IOEL......3
AMOS......9
OBADIAH......1
IONAH......4
MICAH......7
NAHUM......3
HABACUC......3
SEPHANIAH......3
HAGAI......2
SECHARIAH......14
MALACHI......4

DARA LEABHAR

NAN

EACHDRAIDH.

CAIB. I.

AGUS dhaingnicheadh Solamh mac Dhaibhidh na rìoghachd, agus *bha*'n Tighearna a Dhia maille ris, agus dh'ardaich se e gu mòr.

2 Agus dh'àithn Solamh do [a] Israel uile, do na ceannardaibh mhìltean agus cheud, agus do na breitheamhnaibh, agus do gach uachdaran air Israel uile, cinn nan aithriche [b].

3 Agus chaidh Solamh agus an coimhthional uile maille ris do'n àit ard a *bha* ann an Gibeon; oir an sin bha pàilluin coimhthionail Dé, a rinn Maois, òglach an Tighearna, anns an fhàsach.

4 Ach àirc Dhé thug Daibhidh a nìos o Chiriat-iearim, do'*n àit a* dh'ulluich Daibhidh dh'i; oir shuidhich e pàilliun air a son ann an Ierusalem.

5 Mar an ceudna, *bha*'n altair umha, a rinn Besaleel mac Uri, mhic Huir, an sin fa chomhair pàilliuin an Tighearna: agus dh'iarr Solamh agus an coimhthional e [c].

6 Agus chaidh Solamh suas an sin a dh'ionnsuidh na h-altair umha am fianuis an Tighearna, a *bha* aig pàilliun a' choimhthionail, agus dh'-iobair e oirre [d] mìle ìobairt-loisgte.

7 Air an oidhche sin dh'fhoillsich Dia e féin do Sholamh, agus thubhairt e ris, Iarr ciod a bheir mi dhuit.

8 Agus thubhairt Solamh ri Dia, Nochd thu do Dhaibhidh m'athair caoimhneas mòr, agus rinn thu mise a'm' righ na àit [e].

9 A nis, a Thighearna Dhé, coimhlionar [f] do ghealladh [g] do Dhaibhidh m'athair: oir rinn thu mise a'm' righ air sluagh, lionmhor mar dhuslach na talmhainn.

10 Thoir [h] dhomh a nis gliocas agus eòlas, a chum as gu'n dthéid mi mach agus gu'n dthig mi steach roimh an t-sluagh so: oir cò a's urrainn breth a thabhairt air do shluagh so *a tha* co mòr?

11 Agus thubhairt Dia ri Solamh, A chionn gu'n robh so a'd' chridhe, agus nach d'iarr thu beartas, maoin, no cliu, no anam do naimhdean, agus mar an ceudna nach d'iarr thu saoghal fada; ach gu'n d'iarr thu dhuit féin gliocas agus eòlas, leis an dthugadh tu breth air mo shluagh-sa, air an d'rinn mi thu a'd righ;

12 *Tha* gliocas agus eòlas air an tabhairt duit, agus bheir mise dhuit beartas, agus maoin, agus cliu, air chor as nach robh a leithid aig na righrean a *bha* romhad, agus a'd' dhéigh nach bi a leithid.

13 Agus thàinig Solamh o'n àit ard [i] a *bha* ann an Gibeon gu h-Ierusalem, o làthair pàilliuin a' choimhthionail, agus rìoghaich e os cionn Israeil.

14 Agus chruinnich Solamh carbaid agus marc-shluagh: agus bha mìle agus ceithir cheud carbad aige, agus dà mhìle dheug marcach; agus chuir e iad ann am bailtibh nan carbad, agus maille ris an righ ann an Ierusalem [k].

a *labhair Solamh ri.* b *cinn nan teaghlach, na h-ard-aithriche.* c *d'a h-ionnsuidh.* d *uirre.* e Faic. I. Righ. Caib. III. r. 6. f *daingnichear, firinnichear.* g *t'fhocal.* Eabh. h *Tabhair.* i o thurus *do'n àit àrd.* k I. Righ. Caib. X. r. 26.

15 Agus thug an righ air airgiod agus air òr *a bhi* ann an Ierusalem mar na clachan, agus air na crannaibh seudair [a] thug e *bhi* mar na croinn shicomoir a *tha* anns an t-srath, air lìonmhoireachd.

16 Agus thugadh eich do Sholamh a mach as an Eiphit, agus snàth-lìn: ghabh ceannaichean an righ an snàth-lìn air luach.

17 Agus thàinig iad a nìos, agus thug iad a mach as an Eiphit carbad air shè ceud *secel* airgid, agus each air cheud agus leth-cheud: agus mar sin do uile righibh nan Hiteach, agus do righibh Shiria, le'n làimh-san thugadh a mach iad.

CAIB. II.

AGUS shonraich Solamh [b] tigh a thogail do ainm an Tighearna, agus tigh d'a rìoghachd.

2 Agus dh'àireamh Solamh a mach deich agus tri fichead mìle fear-iomchair eallaich, agus ceithir fichead mìle fear-gearraidh anns a' bheinn, agus tri mìle agus sè ceud a sheall-tainn thairis orra.

3 Agus chuir Solamh *teachdaire* gu Huram [c] righ Thiruis, ag ràdh, Mar a rinn thu ri Daibhidh m'athair, agus a chuir thu d'a ionnsuidh craobhan seudair a thogail tighe dha gu còmhnuidh ghabhail ann, *dean riumsa.*

4 Feuch, *tha* mi gu tigh a thogail do ainm an Tighearna mo Dhé, chum *a* choisreagadh [d] dha, gu tùis chùbhraidh a losgadh na fhianuis, agus air son an arain thaisbeanta bhith-bhuain [e], agus air son ìobairtean-loisgte air maduinn agus air feasgar, air na sàbaidibh, agus air na gealaichibh nomha, agus air ard fhéillibh an Tighearn ar Dé: gu bràth *tha* so *ceangailte* air Israel.

5 Agus *bithidh* an tigh a thogas mise mòr: oir *is* mòr ar Dia-ne os cionn nan uile dhé.

6 Ach cò a's urrainn tigh a thogail dha, 'nuair nach cum na nèamha, no nèamha nan nèamh e? Agus cò mise gu'n togainn dha tigh, ach a mhàin a losgadh ìobairtean na fhianuis?

7 A nis mata cuir a m'ionnsuidh duine, teòma [f] air oibreachadh ann an òr, agus ann an airgiod, agus ann an umha, agus ann an iarunn, agus ann an corcur, agus ann an dearg, agus ann an gorm, agus a tha eòlach air gearradh gu grinn maille ris na daoinibh ealanta [g] a *tha* maille riumsa ann an Iudah, agus ann an Ierusalem, a sholair Daibhidh m'athair.

8 Cuir a m'ionnsuidh mar an ceudna craobhan seudair, craobhan giuthais, agus craobhan alguim o Lebanon: oir tha fhios agam gu bheil do sheirbhisich eòlach air fiodh a ghearradh ann an Lebanon: agus feuch, *bithidh* mo sheirbhisich-sa maille ri d' sheirbhisich-sa,

9 Eadhon a dheasachadh dhomh fiodha ann am pailteas; oir *bithidh* an tigh a tha mise gus a thogail mòr agus iongantach.

10 Agus feuch, bheir mi do d' sheirbhisich, na geartadairean a ghearras fiodh, fichead mìle tomhas do chruithneachd buailte, agus fichead mìle tomhas eorna, agus fichead mìle bat fiona, agus fichead mìle bat oladh.

11 Agus fhreagair Huram righ Thiruish ann an scrìobhadh, a chuir e dh'ionnsuidh Sholaimh, A chionn gu bheil gràdh aig an Tighearna d'a shluagh, rinn e thusa a'd' righ os an cionn.

12 Thubhairt Huram mar an ceudna, Beannuichte *gu robh* an Tighearna Dia Israeil a rinn nèamh agus talamh, a thug do Dhaibhidh an righ mac glic, aig am bheil eòlas agus tuigse, a thogadh tigh do'n Tighearn, agus tigh d'a rìoghachd!

13 Agus a nis chuir mi ad' ionnsuidh duine eòlach, aig am bheil tuigse, *a bha* aig Huram m'athair [h],

14 Mac mnà do nigheanaibh Dhain agus 'athair na dhuine o Thirus teòma [i] air oibreachadh ann an òr agus ann an airgiod, ann an umha, ann an iarunn, ann an cloich, agus

ann

a *ceudair.* b *chuir Solamh roimhe.* c *Hiram.* I. Righ. Caib. v. r. 1. d *naomhachadh.* e *lathail.* f *eòlach, glic.* g *glice.* h *duine eòlach aig am bheil tuigse, eadhon Huram-abi.* i *seòlta.*

ann am fiodh, ann an corcur, ann an gorm, agus ann an anart grinn, agus ann an dearg; agus air gearradh gach gnè gearraidh, agus air dealbhadh gach ni innleachdaich a chuirear fa chomhair, maille ri d' dhaoinibh ealanta-sa, agus daoinibh ealanta mo thighearna Dhaibhidh t'athar.

15 Anis air an aobhar sin an cruithneachd, agus an t-eorna, an oladh, agus am fion air an do labhair mo thighearn, cuireadh e *iad* a dh'ionnsuidh a sheirbhiseach:

16 Agus gearraidh sinne fiodh a Lebanon, a réir gach feum a bhios agad, agus bheir sinn a t'ionnsuidh e na ràthaibh air muir gu Iopa, agus bheir thusa suas e gu h-Ierusalem.

17 Agus dh'àireamh Solamh na coigrich uile a *bha* ann an tìr Israeil, an déigh an àireimh leis an d'àireamh Daibhidh 'athair iad; agus fhuaradh ann diubh ceud agus leth-cheud mìle agus tri mìle agus sè ceud.

18 Agus rinn e tri fichead agus deich mìle dhiubh nan luchd-iomchair eallach, agus ceithir fichead mìle nan gearradairibh anns an t-sliabh, agus tri mìle agus sè ceud nan luchd-amhairc thairis a thoirt air an t-sluagh obair a dheanamh.

CAIB. III.

AGUS thòisich Solamh air togail tighe an Tighearna ann an Ierusalem air sliabh Mhoriah, far an d'fhoillsicheadh an Tighearna do Dhaibhidh 'athair, anns an àit a dh'ulluich Daibhidh ann an urlar-bualaidh Ornain an Iebusaich.

2 Agus thòisich e air togail air an dara mìos [a], anns a' cheathramh bliadhna d'a rioghachadh.

3 Agus *is* iad so na nithe a shuighicheadh le Solamh [b] chum tigh Dhé a thogail: am fad ann an làmhaibh-coille a réir a' cheud tomhais, tri fichead làmh-choille, agus an leud fichead làmh-choille.

4 Agus an sgàth-thigh a *bha* air beulaobh *an tighe*, fichead làmh-choille 'fhad, a réir leoid an tighe, agus ceud agus fichead *làmh-choille* 'airde: agus chòmhdaich e thairis e air an taobh a stigh le h-òr fior-ghlan.

5 Agus an tigh mòr chòmhdaich e le fiodh giuthais, agus chòmhdaich e thairis e le h-òr fior-ghlan, agus thug e air craobhan-pailme éirigh suas air, agus slabhraidhean.

6 Agus sgeadaich [c] e an tigh le clachaibh uaisle air sgàth sgéimhe; agus *b'e* an t-òr òr Pharbhaim.

7 Agus chòmhdaich e thairis an tigh, na sailthean, na puist, agus a bhallachan, agus a dhorsan, le h-òr; agus ghearr e cheruban air na ballaibh.

8 Agus rinn e 'n tigh ro-naomha: 'fhad a réir leoid an tighe, fichead làmh-choille, agus a leud fichead làmh-choille: agus chòmhdaich e thairis e le h-òr fior-ghlan, *a thàinig* gu sè ceud tàlann.

9 Agus *b'e* cothrom nan tairngean leth-cheud secel òir: agus chòmhdaich e thairis na seomraichean uachdarach le h-òr.

10 Agus anns an tigh ro-naomha rinn e dà cherub do obair sho-ghluaiste, agus chòmhdaich e thairis le h-òr iad.

11 Agus *bha* sgiathan nan cherub fichead làmh-choille air fad: aon sgiath cùig làmha-coille, a' ruigheachd gu balladh an tighe; agus an sgiath eile cùig làmha-coille, a' ruigheachd gu sgiath a' cheruib eile:

12 Agus sgiath a' cheruib eile cùig làmha-coille, a' ruigheachd gu balladh an tighe; agus an sgiath eile cùig làmha-coille, tàthta ri sgiath a' cheruib eile.

13 Sgaoil sgiathan nan cherub sin iad féin a mach fichead làmh-choille; agus sheas iad air an cosaibh, agus an aghaidhean ris an taobh a stigh.

14 Agus rinn e am brat [d] *do* ghorm, agus *do* chorcur, agus *do* dhearg, agus *do* anart grinn, agus dh'oibrich e cheruban air.

15 Agus rinn e air beulaobh an tighe dà phost cùig làmha-coille deug thar fhichead [e] air airde, agus an

a *air an dara* la *do'n dara mìos*. b na nithe anns an *do sheòladh Solamh*. c *chòmhdaich*. d *an roinn-bhrat*. e *ochd làmha-coille deug*, I. Righ. Caib. VII. r. 15.

ceann a *bha* air mullach gach aon diubh cùig làmha-coille.

16 Agus rinn e slabhraidhean, *mar* anns a' ghuth-àit, agus chuir e *iad* air mullach nam post, agus rinn e ceud pomgranat, agus chuir e *iad* air na slabhraidhibh.

17 Agus chuir e suas na puist air beulaobh an teampuill, aon air an làimh dheis, agus aon air an làimh chli. Agus thug e Iachin mar ainm air a' *phost* air an làimh dheis, agus Boas mar ainm air a' *phost* air an làimh chli.

CAIB. IV.

AGUS rinn e altair umha: fichead làmh-choille a fad, agus fichead làmh-choille a leud, agus deich làmha-coille a h-airde.

2 Agus rinn e muir leaghta, deich làmha-coille o bhile gu bile, cruinn mu'n cuairt; agus cùig làmha-coille a h-airde; agus chuairtich snàthainn dheich làmha-coille thar fhichead i mu'n cuairt.

3 Agus fuidhe [a] *bha* coslas dhamh [b], a chuairtich i mu'n cuairt, deich anns an làmh-choille a' dol mu thimchioll na mara mu'n cuairt. Thilgeadh dà shreath dhamh an uair a thilgeadh i féin.

4 Sheas i air dà dhamh dheug, tri ag amharc gu tuath, agus tri ag amharc an iar, agus tri ag amharc gu deas, agus tri ag amharc an ear: agus *chuireadh* a' mhuir orra gu h-ard, agus *bha* a' chuid-dheiridh dhiubh uile a stigh.

5 Agus *bha* leud boise air tiuighead innte, agus *bha* a bile air a dheanamh mar bhile copain, le blàthaibh lili: ghabh i agus chum i tri mìle [c] bat.

6 Agus rinn e deich soithichean-ionnlaid, agus chuir e cùig dhiubh air an làimh dheis, agus cùig air an làimh chli, a dh'ionnlad annta: nithe na h-iobairt-loisgte nigh iad annta; ach *bha* a' mhuir air son nan sagart, a dh'ionnlad innte.

7 Agus rinn e deich coinnleirean òir a réir an cumaidh, agus chuir e *iad* anns an teampull, cùig air an làimh dheis, agus cùig air an làimh chli.

8 Agus rinn e deich buird, agus chuir e *iad* anns an teampull, cùig air an làimh dheis, agus cùig air an làimh chli: agus rinn e ceud cuach òir.

9 Agus rinn e cùirt nan sagart, agus a' chùirt mhòr, agus dorsan air son na cùirte, agus chòmhdaich e an dorsan thairis le h-umha.

10 Agus chuir e a' mhuir air an taobh deas do'n cheann an ear, fa chomhair na h-airde deas.

11 Agus rinn Huram na h-aighnean [d], agus na sluasaidean, agus na cuachan, agus chuir Huram crìoch air deanamh na h-oibre a rinn e do righ Solamh ann an tigh Dhé:

12 *Eadhon* an dà phost, agus na cuairtean, agus na cinn *a bh'* air mullach an dà phuist, agus an dà lìon-obair a chòmhdachadh dà chuairt nan ceann a *bh'* air mullach nam post:

13 Agus ceithir cheud pomgranat do'n dà lìon-obair; dà shreath phomgranat do gach lìon-obair, a chòmhdachadh dà chuairt nan ceann, a *bh'* air na puist.

14 Agus rinn e buinn, agus rinn e soithichean-ionnlaid air na buinn:

15 Aon mhuir, agus dà dhamh dheug fuidhe [e]:

16 Agus na h-aighnean, agus na sluasaidean, agus na greimichean [f] feòla, agus an uidheam [g] uile rinn Huram [h] do righ Solamh ann an tigh an Tighearna do umha lìobhta.

17 Ann an còmhnard Iordain thilg an righ iad, anns an talamh chreadhach [i], eadar Sucot agus Seredatah.

18 Agus rinn Solamh an t-uidheam so uile ann am mòr-phailteas; oir cha robh e comasach cothrom an umha fhaghail a mach.

19 Agus rinn Solamh an t-uidheam uile a *bhuineadh do* thigh Dhé, agus an altair òir, agus na buird air *an robh* aran na fianuis;

20 Agus

a *fuidhpe*, *foipe*. b *mheall*. I. Righ. Caib. VII. r. 24. c *dà mhìle*. I. Righ. Caib. VII. r. 26. d *poitean*. e *fuidhpe*, *foipe*. f *gramaichean*. g *innealan*. h *Huram athair*; *Huram-abiu*. Eabh. i *chreudhaich*.

20 Agus na coinnlearan maille r'an lòchranaibh, chum gu'n loiſgeadh iad a réir a ghnàtha air beulaobh a' ghuth-àite, do òr fìor-ghlan;

21 Agus na blàthan, agus na lòchrain, agus na clobhachan do òr, eadhon do'n òr bu ghloine;

22 Agus na ſmàladairean, agus na cuachan, agus na ſpàinean, agus na tùiſearain, do òr fìor-ghlan;

23 Agus dol a ſteach an tighe, a dhorſan a b'fhaide a ſtigh aig an ionad ro-naomha, agus dorſan tighe an teampuill, do òr.

CAIB. V.

AGUS chriochnaicheadh an obair uile a rinn Solamh air ſon tighe an Tighearna: agus thug Solamh a ſtigh nithe naomhaichte Dhaibhidh 'athar: an t-airgiod, agus an t-òr, agus na h-innealan uile, chuir e am meaſg ionmhaſan tighe Dhé.

2 Anſin chruinnich Solamh ſeanairean Iſraeil, agus cinn nan treubh uile, ceannardan aithriche chloinn Iſraeil, gu h-Ieruſalem, chum gu'n dthugadh iad a nìos àirc coimhcheangail an Tighearna a baile Dhaibhidh, a'*s* e Sion.

3 Agus chruinnich fir Iſraeil uile iad féin a dh'ionnſuidh an righ air an fhéill [ann am mìos Etanim] *is* e ſin [a] an ſeachdamh mìos.

4 Agus thàinig uile ſheanairean Iſraeil, agus thog na Lebhithich an àirc.

5 Agus thug iad ſuas an àirc, agus pàilliun a' choimhthionail, agus na ſoithichean [b] naomh uile a *bha* ſa' phàilliun: thug na ſagairt *agus* na Lebhithich iad ſin ſuas.

6 Agus dh'ìobair righ Solamh, agus coimhthional Iſraeil uile a chruinnich d'a ionnſuidh roimh an àirc, caoraich agus crodh, nach robh e 'n comas àireamh no mheas, a thaobh lìonmhoireachd.

7 Agus thug na ſagairt a ſteach àirc coimhcheangail an Tighearna d'a h-àite féin, do ghuth-àit an tighe, do'n ionad a's ro-naomha, *eadhon* ſuidh ſgiathaibh nan cherub:

8 Oir ſgaoil na cheruban a mach *an* ſgiathan os cionn àite na h-àirce, agus chòmhdaich na cheruban an àirc agus a lunnan gu h-ard.

9 Agus tharruing iad a mach na lunnan, air chor as gu'm faicte cinn nan lunn o'n àirc fa chomhair a' ghuth-àite, ach cha 'n fhaicte a mach iad: agus tha iad [c] an ſin gus an la'n diugh.

10 Cha *robh* nìth air bìth anns an àirc ach an dà chlàr a chuir Maois *an ſin* ann an Horeb, an uair a rinn an Tighearna *coimhcheangal* ri cloinn Iſraeil, ag teachd a mach dhoibh as an Eiphit.

11 Agus an uair a thàinig na ſagairt a mach as an *ionad* naomha; (oir naomhaicheadh na ſagairt uile a *bha* làthair: cha robh iad a' feitheamh *ſan àm ſin* a réir an roinnean [d];

12 An ſin *bha* na Lebhithich, an luchd-ſeinn, agus iad uile do Aſaph, do Heman, do Iedutun, maille r'am macaibh agus am bràithribh, air dhoibh bhi air an ſgeadachadh ann an lìon-eudach geal, le ciombalaibh, agus le ſaltairibh, agus le clàrſaichibh, nan ſeaſamh aig a' cheann an ear do'n altair, agus maille riu ceud agus fichead ſagart a' deanamh fuaim le trompaidibh)

13 Agus bha iad mar aon a' deanamh fuaim le trompaidibh, agus a' ſeinn, a thoirt air aon ghuth a bhi air a chluinntinn a mholadh agus a thoirt buidheachais do'n Tighearna. Ach an uair a thog iad ſuas *an* guth leis na trompaidibh, agus na ciombalaibh, agus na h-innealaibh ciuil, agus a bha iad a' moladh an Tighearna, a chionn gu *bheil* e maith, a chionn gu *mair* a thròcair gu bràth; an ſin lìonadh an tigh le neul, tigh an Tighearna.

14 Agus cha b'urrainn na ſagairt ſeaſamh a fhrithealadh air ſgàth an neoil: oir lìon glòir an Tighearna tigh Dhé.

CAIB. VI.

AN ſin thubhairt Solamh, Thubhairt an Tighearna gu'n gabhadh

a Faic. I. Righ. Caib. VIII. r. 2.
b *na h-innealan, an t-uidheam.*
c *i.*
d *a réir an ſeal.*

adh e còmhnuidh ann an dorchadas
tiugh.
2 Ach thog mise tigh-còmhnuidh
dhuit, agus àite chum thu dh'fhantuinn ann gu bràth.
3 Agus thionndaidh an righ 'aghaidh, agus bheannaich e uile choimhthional Israeil, (agus uile choimhthional Israeil nan seasamh.).
4 Agus thubhairt e, Gu ma beannuichte an Tighearna Dia Israeil, a choimhlion le a làimh na labhair e le 'bheul ri m'athair Daibhidh, ag ràdh,
5 O'n là air an d'thug mi mo shluagh a mach a tìr na h-Eiphit, cha do thagh mi baile sam bith a uile threubhaibh Israeil a thogail tighe, chum gu'm biodh m'ainm an sin, agus cha do thagh mi duine sam bith gu bhi na uachdaran os cionn mo shluaigh Israeil.
6 Ach *a nis* thagh mi Ierusalem, a chum gu'm biodh m'ainm an sin, agus thagh mi Daibhidh gu bhi oscionn mo shluaigh Israeil.
7 Agus bha e ann an cridhe Dhaibhidh m'athar tigh a thogail do ainm an Tighearna Dé Israeil.
8 Agus thubhairt an Tighearna ri Daibhidh m'athair, A chionn gu'n robh e ann ad chridhe tigh a thogail do m' ainm-sa, is maith a rinn thu gu'n robh e ann do chridhe:
9 Gidheadh, cha tog thusa an tigh, ach do mhac a thig a mach as do leasraibh; togaidh esan an tigh do m'ainmsa.
10 Agus choimhlion an Tighearn 'fhocal a labhair e, agus dh'éirich mise suas an àite Dhaibhidh m'athar, agus tha mi a'm' shuidhe air righ-chathair Israeil, mar a labhair an Tighearna, agus thog mi an tigh do ainm an Tighearna Dé Israeil.
11 Agus shuidhich mi an sin an àirc, anns am bheil coimhcheangal an Tighearna, a rinn e ri cloinn Israeil.
12 Agus sheas e roimh altair an Tighearna, an làthair uile choimhthionail Israeil, agus sgaoil e mach a làmhan,
13 (Oir rinn Solamh bonn umha, agus chuir se e ann am meadhon na cùirte, cùig làmha-coille air fad, agus cùig làmha-coille air leud, agus trì làmha-coille air airde; agus sheas e air, agus leag se e féin air a ghlùinibh an làthair coimhthionail Israeil uile, agus sgaoil e mach a làmhan gu nèamh)
14 Agus thubhairt e, A Thighearna Dhé Israeil, cha *'n'eil* Dia ann cosmhuil riutsa anns na nèamhaibh, no air an talamh, a chumas coimhcheangal agus tròcair ri d' sheirbhisich, a ghluaiseas a' d'fhianuis le'n uile chridhe:
15 A chum ri t'òglach Daibhidh m'athair an ni a labhair thu ris; oir labhair thu le d' bheul, agus le d' làimh choimhlion thu, mar air an la'n diugh.
16 A nis uime sin, a Thighearna Dhé Israeil, cum ri t'òglach Daibhidh m'athair *an ni* a labhair thu ris, ag ràdh, Cha bhi duine dhìth ort a'm' fhianuis-sa, a shuidheas air righchathair Israeil, ma choimhideas a mhàin do chlann an slighe, a ghluasad ann am lagh, mar a ghluais thusa a'm' fhianuis.
17 Agus a nis, a Thighearna Dhé Israeil, daingnichear t'fhocal, a labhair thu ri t'oglach Daibhibh.
18 Ach an gabh Dia d'a rìreadh còmhnuidh maille ri daoinibh air an talamh? feuch, cha chum na nèamha agus nèamha nan nèamh thusa; cia is ro lugha na sin an tigh so a thog mise?
19 Gidheadh, amhairc air urnuigh do sheirbhisich, agus air 'athchuinge, a Thighearna mo Dhia, a dh'éisdeachd ris a' ghlaodh agus ris an urnuigh, a *tha* do sheirbhiseach a' deanamh a't'fhianuis;
20 A chum gu'm bi do shùilean fosgailte ris an tigh so a dh'oidhche agus do là, *eadhon* ris an àite mu'n dubhairt thu gu'n cuireadh tu t'ainm an sin, a dh'éisdeachd ris an urnuigh a ni do sheirbhiseach a dh'ionnsuidh an àite so.
21 Eisd air an aobhar sin ri athchuinge do sheirbhisich, agus do shluaigh Israeil, an uair a ni iad urnuigh a dh'ionnsuidh an àite so; agus éisd thusa o t'àite còmhnuidh, o na nèamhaibh; agus an uair a dh'éisdeas tu, maith *dhoibh*.
22 Ma pheacaicheas duine an aghaidh a choimhearsnaich, agus ma
dh'iarras

dh'iarras e mionnan air, a' toirt air
mionnachadh, agus gu'n dthig na
mionnan an làthair t-altarach anns an
tigh ſo;
23 An ſin éiſd thuſa o na nèamh-
aibh, agus dean, agus thoir breth air
do ſheirbhiſeachaibh, ag ìocadh do'n
aingidh, a' toirt a ſhlighe air a cheann
féin, agus a' fìreanachadh an fhìrein,
a' tabhairt da a réir 'fhìreantachd.
24 Agus ma bhuailear do ſhluagh
Iſrael an làthair an nàmhaid, a chionn
gu'n do pheacaich iad a't' aghaidh,
agus ma philleas iad agus gu'n aidich
iad t'ainm, agus gu'n dean iad ur-
nuigh agus gu'n guidh iad a'd'
làthair anns an tigh ſo;
25 An ſin éiſd thuſa o na nèamh-
aibh, agus maith peacadh do ſhluaigh
Iſraeil, agus thoir a rìs iad do'n fhea-
rann a thug thu dhoibh féin agus d'an
aithrichibh.
26 An uair a dhruidear na nèamha,
agus nach bi uiſge ann, a chionn gu'n
do pheacaich iad a't' aghaidh-ſa, agus
a ni iad urnuigh a dh'ionnſuidh an
àite ſo, agus a dh'aidicheas iad t'ainm,
agus a dh'iompoichear iad o'm peac-
adh, an uair a chuireas tu ſuidh
àmhghar iad;
27 An ſin éiſd thuſa o na nèamh-
aibh, agus maith peacadh do ſheir-
bhiſeach, agus do ſhluaigh Iſraeil, a
chum as gu'n teagaiſg thu dhoibh an
t-ſlighe mhaith air an còir dhoibh
gluaſad, agus gu'n cuir thu uiſge air
an fhearann a thug thu do d' ſhluagh
mar oighreachd.
28 An uair a bhios gortadh anns an
tìr, an uair a bhios plàigh ann, an
uair a bhios ſèargadh ann, no fuar
dhealt, locuſt, no burruis; an uair a
theannaicheas a nàmhaid e ann an tìr
a bhailte, ciod air bith plàigh, agus
ciod air bith euſlaint *a bhios ann*;
29 Ge b'e urnuigh, ge b'e ath-
chuinge a chuirear ſuas le duine ſam
bith, no le d' ſhluagh Iſrael uile, an
uair a bhios fios aig gach aon air a
phlàigh féin, agus a dhoilgheas féin,
agus a ſgaoileas e mach a làmhan a
dh'ionnſuidh an tighe ſo;
30 An ſin éiſd thuſa o na nèamh-
aibh, o t'àite còmhnuidh, agus maith,
agus thoir do gach duine a réir a
ſhlighean uile; a tha fios agad air a
chridhe (oir is ann agadſa, agadſa
mhàin a tha fios air cridheachaibh
chloinn nan daoine;)
31 A chum gu'm bi eagal orra
romhadſa, a ghluaſad ann ad ſhligh-
ibh rè an laithean uile bhios iad
beo anns an tìr a thug thu d'ar n-aith-
richibh.
32 Os bàrr, a thaobh a' choigrich,
nach 'eil do d' ſhluagh Iſrael, ach a
thig a tìr chéin air ſgàth do mhòr
ainme-ſa, agus do làimhe laidir, agus
do ghàirdein sìnte mach, agus a thig
agus a ni urnuigh anns an tigh ſo;
33 An ſin éiſd thuſa o na nèamh-
aibh, o t'àite-còmhnuidh, agus dean
a réir nan uile *nithe* mu'n glaodh an
coigreach riut: a chum gu'm bi eòlas
aig uile ſhlòigh na talmhainn air
t'ainm, agus gu'm bi eagal orra
romhad, mar *ata air* do ſhluagh Iſ-
rael, agus gu'm bi fios aca gu'n goir-
ear t'ainm-ſa air [a] an tigh ſo a thog
miſe.
34 An uair a théid do ſhluagh a
mach a chogadh an aghaidh an naimh-
dean air an t-ſlighe air an cuir thu
iad, agus a ni iad urnuigh riut a
làimh [b] a' bhaile [c] ſo a roghnaich thuſa,
agus an tigh a thog miſe do t'ainm;
35 An ſin éiſd thuſa o na nèamh-
aibh r'an urnuigh agus r'an athchuinge,
agus cum ceartas riu.
36 An uair a pheacaicheas iad a't'
aghaidh (oir cha *'n'eil* duine ann nach
peacaich,) agus a laſas t'fhearg nan
aghaidh, agus a bheir thu thairis iad
d'*an* naimhdibh, agus a bheir iad leo
nam braighdibh iad do thìr am fad
no am fagus;
37 Gidheadh *ma* thig iad gu inn-
tinn cheart [d] anns an tìr d'an d'thug-
adh nam braighdibh iad, agus *ma*
dh'iompoichear iad, agus *ma* ni iad
urnuigh riut ann an tìr am braigh-
deanais, ag ràdh, Pheacaich ſinn, rinn
ſinn gu h-eucorach, agus rinn ſinn gu
h-aingidh;
38 Ma philleas iad a't' ionnſuidh-
ſa le'n uile chridhe agus le'n uile
anam,

a *gu'n ainmichear ortſa.* b *rathad.* Eabh. c *na cathrach.* d *ma philleas iad d'an cridhe.* Eabh.

anam, ann an tìr am braighdeanais,
d'an d'thugadh iad nam braighdibh,
agus ma ni iad urnuigh a làimh an
tìre féin a thug thu d'an aithrichibh,
agus *a làimh* a' bhaile a ròghnaich
thu, agus a làimh an tighe a thog
mise do t'ainm;

39 An sin éisd thusa o na nèamh-
aibh, o t'àite-còmhnuidh, r'an ur-
nuigh agus r'an athchuinge, agus cum
ceartas riu, agus maith do d' shluagh
a pheacaich a't' aghaidh.

40 A nis, mo Dhia, bitheadh,
guidheam ort, do shùilean fosgailte, a-
gus thugadh do chluasan an aire do
urnuigh an àite so.

41 Ach a nis éirich thusa, a Thigh-
earna Dhé, do d' àite fuaimhneis, thu
féin agus àirc do neirt. Bitheadh do
shagairt, a Thighearna Dhé, air an
sgeadachadh le slàinte, agus deanadh
do naoimh gairdeachas ann am maith-
eas.

42 A Thighearna Dhé, na tionn-
daidh air falbh gnùis t'aoin ungta:
cuimhnich tròcairean Dhaibhidh do
sheirbhisich.

CAIB. VII.

AGUS an uair a chuir Solamh
crìoch air urnuigh a dheanamh,
thàinig an teine a nuas o nèamh, a-
gus loisg e suas an tabhartas-loisgte
agus na h-ìobairtean; agus lìon glòir
an Tighearna an tigh.

2 Agus cha b'urrainn na sagairt
dol a steach do thigh an Tighearna,
a chionn gu'n do lìon glòir an Tigh-
earna tigh an Tighearna.

3 Agus an uair a chunnaic clann
Israeil uile mar a thàinig an teine
nuas, agus glòir an Tighearna air an
tigh, chrom siad iad féin le'n agh-
aidhibh chum na talmhainn air an
urlar, agus rinn iad aoradh, agus mhol
iad an Tighearn, a chionn *gu bheil*
e maith, gu *mair* a thròcair gu bràth.

4 An sin dh'ìobair an righ agus an
sluagh uile ìobairtean am fianuis an
Tighearna.

5 Agus dh'ìobair righ Solamh mar
ìobairt dà mhìle fichead bò, agus ceud
agus fichead mìle caora: agus choisr-
rig an righ agus an sluagh uile tigh
Dhé.

6 Agus dh'fheith na sagairt air an
dreuchd; na Lebhithich mar an ceud-
na le innealaibh-ciuil an Tighearna,
a rinn Daibhidh an righ a mholadh
an Tighearna, a chionn gu *mair* a
thròcair gu bràth, an uair a bha Dai-
bhidh a' cliùthachadh le'n làimh-san:
agus sheid na sagairt trompaidean
rompa, agus sheas Israel uile.

7 Agus naomhaich Solamh meadhon
na cùirte a *bha* fa chomhair tighe an
Tighearna: oir thug e suas an sin
ìobairte-loisgte, agus saill nan tabhart-
as-sìth, a chionn nach b'urrainn an
altair umha a rinn Solamh na h-ìo-
bairtean-loisgte, agus na tabhartasa-
bidh, agus an t-saill, a ghabhail.

8 Agus chum Solamh anns an àm
sin an fhéill seachd laithean, agus Is-
rael uile maille ris, coimhchruinneach-
adh ro-mhòr, o dhol a stigh Hamait
gu ruig abhuinn na h-Eiphit.

9 Agus air an ochdamh là chum
iad ard choimhthional; oir chum iad
coisreagadh na h-altarach seachd lai-
thean, agus an fhéill seachd laithean.

10 Agus air an treas la fichead
do'n t-seachdamh mìos leig e an sluagh
air falbh d'am bùthaibh, aoibhinn a-
gus subhach nan cridhe air son a'
mhaitheis a nochd an Tighearna do
Dhaibhidh, agus do Sholamh, agus
do Israel a shluagh.

11 Agus chrìochnaich Solamh tigh
an Tighearna, agus tigh an righ; a-
gus gach ni a thàinig ann an cridhe
Sholaimh a dheanamh ann an tigh an
Tighearna, agus na thigh féin, shoir-
bhich leis na dheanamh.

12 Agus dh'fhoillsich an Tighearn
e féin do Sholamh san oidhche, agus
thubhairt e ris, Chuala mi t'urnuigh,
agus thagh mi 'n t-àite so dhomh féin
air son tighe ìobairte.

13 Ma dhruideas mi na nèamha,
agus nach bi uisge ann, no ma
dh'àithneas mi do na locuist am fearann
itheadh suas, no ma chuireas mi plàigh
am measg mo shluaigh;

14 Ma dh'irioslaicheas mo shluagh
air an goirear [a] m'ainm iad féin, agus
gu'n dean iad urnuigh, agus gu'n iarr
iad mo ghnùis, agus gu'm pill iad o'n
droch shlighibh, an sin cluinnidh mise
o na nèamhaibh, agus maithidh mi
am

[a] *gairmear.*

am peacadh, agus leighifidh mi am fearann.

15 A nis bithidh mo fhùilean fosgailte, agus bheir mo chluasan an aire do urnuigh an àite so:

16 Oir a nis thagh mi agus naomhaich mi an tigh so, chum gu'm bi m'ainm an sin gu bràth; agus bithidh mo shùilean agus mo chridhe an sin gach là.

17 Agus ma ghluaiseas tusa ann am fhianuis, mar a ghluais Daibhidh t'athair, agus ma ni thu a réir gach *ni* a dh'àithn mi dhuit, agus gu'n gléidh thu mo reachdan agus mo bhreitheanais;

18 An sin daingnichidh mise righchathair do rìoghachd, mar a rinn mi coimhcheangal ri Daibhidh t'athair, ag ràdh, Cha bhi duine dhìth ort gu bhi na uachdaran ann an Israel.

19 Ach ma thionndaidheas sibh uam, agus gu'n tréig sibh mo reachdan agus m'àitheantan a chuir mi roimhibh, agus gu'n dthéid sibh agus gu'n dean sibh seirbhis do dhéibh eile, agus gu'n sleuchd sibh dhoibh;

20 An sin spìonadh mise sibh [a] as m'fhearann a thug mi dhuibh [b]; agus an tigh so a naomhaich mi do m'ainm, tilgidh mi as mo shealladh, agus ni mi e na shamhladh [c] agus na lethfhocal [d] am measg nan uile chinneach.

21 Agus an tigh so a bha *co* ard, bithidh iongantas air gach neach a théid seachad air, agus their e, C'ar son a rinn an Tighearna mar so ris an tìr so, agus ris an tigh so?

22 Agus freagrar [e], A chionn gu'n do thréig iad an Tighearna Dia an aithriche, a thug a mach iad a tìr na h-Eiphit, agus gu'n do ghabh iad d'an ionnsuidh [f] diathan eile, agus gu'n do shleuchd iad dhoibh, agus gu'n do rinn iad seirbhis dhoibh; uime sin thug e an t-olc so uile orra.

CAIB. VIII.

AGUS tharladh an ceann fhichead bliadhna, anns an do thog Solamh tigh an Tighearn agus a thigh féin,

2 Na bailtean a thug Huram do Sholamh, gu'n do thog Solamh iad, agus thug e air cloinn Israeil còmhnuidh a ghabhail an sin.

3 Agus chaidh Solamh gu Hamatsobah, agus thug e buaidh air.

4 Agus thog e Tadmor anns an fhàsach, agus na bailtean ionmhais uile a thog e ann an Hamat.

5 Mar an ceudna thog e Bethoron uachdarach, agus Bethoron ìochdarach, bailte daingnichte, le ballaibh, geataibh agus crannaibh:

6 Agus Baalat, agus na h-uile bhailtean ionmhais a bha aig Solamh, agus uile bhailte nan carbad, agus bailtean a' mharc-shluaigh, agus uile mhiann Sholaimh a mhiannaich e thogail ann an Ierusalem, agus ann an Lebanon, agus ann an uile thìr a thighearnais.

7 *A thaobh* an t-sluaigh uile a dh'fhàgadh do na Hitich, agus *do* na h-Amoraich, agus *do* na Perisich, agus *do* na Hibhich, agus *do* na Iebusaich, nach *robh* do Israel,

8 D'an cloinn a dh'fhàgadh nan déigh anns an tìr, nach do sgrios clann Israeil, dhiubhsan thog Solamh cìs gus an là'n diugh.

9 Ach do chloinn Israeil cha d'rinn Solamh tràill sam bith air son 'oibre; oir bha iad nam fir-chogaidh, agus nan uachdarainibh, agus nan ceannardaibh [g] aige, agus nan riaghlairibh a charbad agus a mharc-shluaigh.

10 Agus *b'* iad so uachdarain an luchd-ìreuchd a *bha* aig righ Solamh, dà cheud agus leth-cheud [h] a riaghail os cionn an t-sluaigh.

11 Agus thug Solamh suas nighean Pharaoih a baile Dhaibhidh a dh'ionnsuidh an tighe a thog e dh'i: oir thubhairt e, Cha ghabh mo bhean-sa còmhnuidh ann an tigh Dhaibhidh righ Israeil; oir *is* naomha na *h-àitean*, d'an d'thàinig àirc an Tighearna steach.

12 An sin dh'ìobair Solamh ìobairteloisgte

a *iad*. b *dhoibh*. c *ghnàth-fhocal*. d *ball-magaidh*. e *their iad*. Eabh. f *gu'n d'rinn iad greim air*. g I. Righ. Caib. IX. r. 22. h *cùig ceud agus leth-cheud*. I. Righ. Caib. IX. r. 23.

loisgte do'n Tighearna, air altair an Tighearna, a thog e fa chomhair an sgàth-thighe ;

13 A dhlighe féin air gach là, ag ìobradh a réir àithne Mhaois air na sàbaidibh, agus air na gealaichibh nomha, agus air na féillibh[a] sònraichte, tri uairean sa' bhliadhna, air féill an arain neo-ghoirtichte, agus air féill nan seachduin, agus air féill nam pàilliun.

14 Agus shuidhich e, a réir riaghailt Dhaibhidh 'athar, roinnean nan sagart chum an seirbhis, agus na Lebhithich chum an cùraim, a mholadh agus a fhrithealadh am fianuis nan sagart, a réir dlighe gach là, agus na dorsairean a réir an roinnean aig gach geatadh : oir mar sin dh'àithn Daibhidh òglach Dhé.

15 Agus cha do chlaon iad o àithne an righ mu na sagairt agus na Lebhithich, a thaobh ni air bith, no thaobh nan ionmhas.

16 Agus dheasaicheadh obair Sholaimh uile gu ruig an là anns an do leagadh bunait[b] tighe an Tighearna, agus gus an do chrìochnaicheadh e. *Mar sin* rinneadh tigh an Tighearna gu h-iomlan.

17 An sin chaidh Solamh gu h-Esion-geber, agus gu h-Elot, air taobh na mara ann an tìr Edoim.

18 Agus chuir Huram d'a ionnsuidh le làimh a sheirbhiseach longa, agus seirbhisich aig an robh eòlas na fairge, agus chaidh iad maille ri seirbhisich Sholaimh gu h-Ophir, agus thug iad as sin ceithir cheud agus leth-cheud tàlann òir, agus thug iad gu righ Solamh *iad*.

CAIB. IX.

AGUS an uair a chuala ban-righinn Sheba cliù Sholaimh, thàinig i a dhearbhadh Sholaimh le ceisdibh cruaidhe gu h-Ierusalem, le cuideachd ro-mhòir, agus *le* càmhalaibh a' giùlan spìosraidh agus òir ann am pailteas, agus chlacha luachmhor : agus an uair a thàinig i dh'ionnsuidh Sholaimh, labhair i ris gach *ni* a bha 'na cridhe.

2 Agus fhreagair[c] Solamh dh'i a ceisdean[d] uile ; agus cha robh ni air bith am folach air Solamh nach d'innis e dh'i.

3 Agus an uair a chunnaic ban-righinn Sheba gliocas Sholaimh, agus an tigh a thog e,

4 Agus biadh a bhuird, agus suidhe a sheirbhiseach, agus seitheamh a luchd-frithealaidh agus an truscan, agus a ghillean-cupain agus an truscan, agus a dhol-suas air an deachaidh e suas gu[e] tigh an Tighearna; cha robh spiorad innte ni's mò.

5 Agus thubhairt i ris an righ, *B'fhior* an t-iomradh a chuala mi ann am thìr féin, air do ghnìomharaibh, agus air do ghliocas.

6 Gidheadh cha do chreid mi am briathra, gus an d'thàinig mi, agus gu'm faca mo shùilean; agus féuch, cha d'innseadh dhomh leth meud do ghliocais : chaidh thu thar an iomradh a chuala mi.

7 *Is* sona do dhaoine, agus *is* sona iad so do sheirbhisich, a sheasas a't' fhianuis an còmhnuidh, agus a chluinneas do ghliocas.

8 Gu ma beannuichte an Tighearna do Dhia a ghabh tlachd annad gu d' chur air a righ-chathair, gu bhi d' righ air son an Tighearna do Dhé : a chionn gu'n do ghràdhaich do Dhia Israel, chum an daingneachadh gu bràth, uime sin rinn e thusa a'd' righ os an ceann, a dheanamh breitheanais agus ceartais.

9 Agus thug i do'n righ ceud agus fichead tàlann òir, agus ro-mhòran do spìosraidh, agus clacha luachmhor : Agus cha robh riamh a leithid so do spìosraidh, as a thug ban-righinn Sheba do righ Solamh.

10 Agus mar an ceudna thug seirbhisich Huraim, agus seirbhisich Sholaimh, a thug òr o Ophir, fiodh alguim[f] leo, agus clacha luachmhor.

11 Agus rinn an righ do'n fhiodh alguim staidhrichean[g] do thigh an Tighearna,

a *séisdibh.* b *steidh.* c *dh'fhuasgail, mhìnich.* d *briathran.* Eabh. e *na h-ìobairte-loisgte a dh'iobair e ann.* f *almuig.* I. Righ. Caib. X. r. 11. g *ard-shlighean.*

Tighearna, agus do thigh an righ, a-
gus clàrsaichean agus saltairean do'n
luchd-ciuil: agus cha 'n fhacas an
leithid roimhe ann an tìr Iudah.
12 Agus thug righ Solamh do
bhan-righinn Sheba a h-uile mhiann
a dh'iarr i, a thuilleadh air na thug i
dh'ionnsuidh an righ [a]: agus thionn-
daidh i agus dh'imich i d'a tìr, i féin
agus a seirbhisich.
13 A nis b'e cothrom an òir a thài-
nig a dh'ionnsuidh Sholaimh ann an
aon bhliadhna, sè ceud agus tri fichead
agus sè tàlannan òir:
14 A thuilleadh air na thug na
ceannaichean agus an luchd malairt,
agus uile righrean Arabia, agus uach-
darain na tìre; a thug òr agus airgiod
a dh'ionnsuidh Sholaimh [b].
15 Agus rinn righ Solamh dà cheud
sgiath do òr buailte: chaidh sè ceud
secel do òr buailte chum gach sgéithe.
16 Agus *rinn e* tri cheud targaid
do òr buailte: chaidh tri cheud *se-
cel* òir chum gach targaide: agus
chuir an righ iad ann an tigh frìthe
Lebanoin.
17 Rinn an righ mar an ceudna
righ-chathair mhòr do fhiaclaibh *ele-
phant*, agus chòmhdaich e i leis an
òr bu ghloine.
18 Agus *bha* sè ceuman aig an
righ-chathair agus cos-stòl òir, air an
tàthadh ris an righ-chathair, agus
làmhan air gach taobh do'n àite-
suidhe, agus dà leòmhan a' seasamh
làimh ris na làmhan.
19 Agus sheas dà leòmhan dheug
an sin air na sè ceumaibh, air an
taobh so agus air an taobh ud. Cha
d'rinneadh a leithid ann an rìoghachd
air bith eile,
20 Agus *bha* uile shoithichean òil
righ Solaimh *do* òr, agus uile shoi-
thiche tighe frìthe Lebanoin *do* òr
fior-ghlan: cha robh meas do airgiod
ann an laithibh Sholaimh chum ni
sam bith.
21 Oir chaidh luingeas an righ gu
Tarsis maille ri seirbhisich Huraim:
aon uair anns na tri bliadhnaibh thài-
nig loingeas Tharsis a' giùlan òir agus
airgid, fhiacal elephant, agus apa,
agus pheucag.
22 Agus thug righ Solamh barr-
achd air uile righibh an domhain ann
an saibhreas agus gliocas.
23 Agus dh'iarr uile righre na
talmhainn teachd an làthair Sholaimh,
a chluinntinn a' ghliocais a chuir Dia
na chridhe.
24 Agus thug iad leo gach fear a
thiodhlacadh, soithichean airgid, agus
soithichean òir, agus trusgana, agus
airm, agus spìosraidh, agus eich, agus
muileidean, cuibhrionn bliadhna anns
gach bliadhna.
25 Agus bha aig Solamh ceithir
mìle prasach each air son a charbad [c],
agus dà mhìle dheug marcach, a chuir
e mach ann am bailtibh nan carbad,
agus maille ris an righ ann an Ierusalem.
26 Agus rìoghaich e os cionn nan
righ uile, o'n abhuinn gu ruig tìr
nam Philisteach, agus gu ruig crìoch
na h-Eiphit.
27 Agus thug an righ air airgiod
a bhi ann an Ierusalem mar chlachan,
agus air na crannaibh seudair thug
e *bhi* mar na croinn shicomoir, a *tha*
anns an t-srath, air lìonmhoireachd.
28 Agus thugadh eich a dh'ionn-
suidh Sholaimh as an Eiphit, agus as
gach uile thìr.
29 Agus a' chuid eile do ghnìomh-
araibh Sholaimh, an toiseach agus mu
dheireadh [d], nach *'eil* iad sgrìobhta
ann an leabhar Natain an fhàidh, a-
gus ann am fàidheadoireachd Ahiah
an t-Silonaich, agus ann an seallan-
naibh Ido an fhir-sheallaidh an aghaidh
Ieroboaim mhic Nebait?
30 Agus rìoghaich Solamh ann an
Ierusalem os cionn Israeil uile, dà
fhichead bliadhna.
31 Agus choidil Solamh maille r'a
aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh e ann
am baile Dhaibhidh 'athar: agus
rìoghaich Rehoboam a mhac na àite.

CAIB. X.

AGUS chaidh Rehoboam do She-
chem: oir thàinig Israel uile
do Shechem g'a dheanamh na righ.

2 Agus

a *a thuilleadh air na thug an righ dh'i d'a fhiallaidheachd féin.* I Righ. Caib. X. r. 13. b *Faic.* I. Righ. Caib. X. r. 15. c I. Righ. Caib. IV. r. 26. d *o thoiseach gu deireadh.*

2 Agus an uair a chuala Ieroboam mac Nebait *ſin*, a *bha* anns an Eiphit, far an do theich e o ghnùis righ Solaimh, phill Ieroboam as an Eiphit.

3 Agus chuir iad *ſios*, agus ghairm iad e: agus thàinig Ieroboam agus Iſrael uile, agus labhair iad ri Rehoboam, ag ràdh,

4 Dh'antromaich t'athair ar cuingne, ach eutromaich thus a nis ſeirbhis chruaidh t'athar, agus a chuing throm a chuir e oirnn, agus ni ſinn ſeirbhis dhuit.

5 Agus thubhairt e riu, An ceann thri laithean thigibh a rìs a m' ionnſuidh. Agus dh'fhalbh an ſluagh.

6 Agus chuir righ Rehoboam a chomhairle ris na ſeann daoinibh a ſheas an làthair Sholaimh 'athar, an uair bu bheò e, ag ràdh, Cionnus a chomhairlicheas ſibh *dhomh* freagradh a thabhairt do'n t-ſluagh ſo?

7 Agus labhair iadſan ris, ag ràdh, Ma bhios tuſa caoimhneil ris an t-ſluagh ſo, agus gu'n toilich thu iad, agus gu'n labhair thu riu briathra maithe, bithidh iadſan agadſa nan ſeirbhiſich gu bràth.

8 Ach thréig eſan comhairle nan ſeann daoine, a thug iad air; agus chuir e 'chomhairle ris na daoinibh òga a dh'fhàs ſuas maille ris féin, *agus* a ſheas na làthair.

9 Agus thubhairt e riu, Ciod *a tha* ſibhſe a' combairleachadh, a chum as gu'n dthoir ſinn freagradh do'n t-ſluagh ſo, a labhair rium, ag ràdh, Eutromaich a' chuing a chuir t'athair oirnn?

10 Agus labhair na daoine òga a dh'fhàs ſuas maille ris *féin* ris, ag ràdh, Mar ſo their thu ris an t-ſluagh a labhair riut, ag ràdh, Dh'antromaich t'athair ar cuingne, ach eutromaich thuſa dhuinn *i*; mar ſo their thu riu, *Is* gairbhe mo lùghdagſa na leaſraidh m'athar.

11 Agus a nis chuir m'athair gun amharus oirbh cuing throm, ach cuiridh miſe ri bhur cuing; ſmachdaich m'athair ſibh le ſlataibh, ach *ſmachdaichidh* miſe *ſibh* le ſcorpionaibh.

12 Agus thàinig Ieroboam agus an ſluagh uile gu Rehoboam air an treas là, mar a dh'àithn an righ, ag ràdh, Thigibh a rìs a m' ionnſuidh air an treas là.

13 Agus fhreagair an righ iad gu garbh, agus thréig righ Rehoboam comhairle nan ſeann daoine.

14 Agus labhair e riu a réir comhairle nan daoine òga, ag ràdh, Dh'antromaich m'athair bhur cuing, ach cuiridh miſe rithe; ſmachdaich m'athair ſibh le ſlataibh, ach *ſmachdaichidh* miſe *ſibh* le ſcorpionaibh.

15 Mar ſo cha d'éiſd an righ ris an t-ſluagh; oir bha'n t-aobhar o Dhia, chum gu'n coimhlionadh an Tighearn 'fhocal féin, a labhair e le làimh Ahiah an t-Silonaich ri Ieroboam mac Nebait.

16 Agus an uair a chunnaic Iſrael uile nach d'éiſd an righ riu, fhreagair an ſluagh an righ, ag ràdh, Ciod a' chuibhrionn *a th'*againne ann an[a] Daibhidh? agus cha *'n'eil* oighreachd *againn* ann am mac Ieſe: gach fear do d' bhùthaibh, O Iſraeil; a nis thoir an aire[b] air do thigh féin, a Dhaibhidh. Agus dh'fhalbh Iſrael uile d'am bùthaibh.

17 Ach *a thaobh* chloinn Iſraeil a bha chòmhnuidh ann am bailtibh Iudah, rìoghaich Rehoboam os an cionn.

18 An ſin chuir righ Rehoboam Adoram a *bha* os cionn na cìſe *d'an ionnſuidh*; agus chlach clann Iſraeil e le clachaibh, agus fhuair e bàs: agus rinn Rehoboam cabhag gu dol ſuas d'a charbad, chum as gu'n teicheadh e do h-Ieruſalem.

19 Agus rinn Iſrael ceannarc an aghaidh tighe Dhaibhidh gus an là'n diugh.

CAIB. XI.

AGUS an uair a thàinig Rehoboam gu h-Ieruſalem, chruinnich e do thigh Iudah agus Bheniamin, ceud agus ceithir fichead mìle *fear* taghta, deanta ri cogadh, a chogadh an aghaidh Iſraeil, a chum an rìoghachd a thoirt a rìs gu Rehoboam.

2 Ach thàinig focal an Tighearna gu Semaiah òglach[c] Dhé, ag ràdh,

3 Labhair

a *maille* b *ſeall.* c *duine.* Eabh.

3 Labhair ri Rehoboam, mac Sho-
laimh, righ Iudah, agus ri h-Israel
uile ann an Iudah agus *ann am* Ben-
iamin, ag ràdh,
4 Mar so tha'n Tighearn ag ràdh,
Cha dtheid sibh suas, agus cha chog [a]
sibh ri'r bràithribh: pillibh, gach fear
a dh'ionnsuidh a thighe; oir leamsa
rinneadh an ni so. Agus dh'éisd iad
ri briathraibh an Tighearna, agus
phill iad o dhol an aghaidh Iero-
boaim.
5 Agus ghabh Rehoboam còmh-
nuidh ann an Ierusalem, agus thog e
bailte daingnichte ann an Iudah:
6 Thog e eadhon Bet-lehem, agus
Etam, agus Tecoa,
7 Agus Bet-sur, agus Socho, agus
Adullam,
8 Agus Gat, agus Maresah, agus
Siph,
9 Agus Adoraim, agus Lachis, a-
gus Asecah,
10 Agus Sorah, agus Aialon, agus
Hebron; a *tha* ann an Iudah, agus
ann am Beniamin, nam bailtibh
daingnichte.
11 Agus neartaich e na daingnichean,
agus chuir e ceannardan annta, agus
taisgeacha bìdh, agus olaidh, agus
fiona.
12 Agus anns gach baile [b] fa leth
chuir e sgiathan agus sleaghan, agus
rinn e ro-làidir iad; oir bha Iudah a-
gus Beniamin aige air a thaobh.
13 Agus thàinig na sagairt agus
na Lebhithich, a *bha* ann an Is-
rael uile, d'a ionnsuidh as an crìoch-
aibh uile:
14 (Oir dh'fhàg na Lebhithich am
fo-bhailtean [c], agus an sealbh, agus
thàinig iad gu Iudah agus gu h-Ieru-
salem; a chionn gu'n do chuir Iero-
boam agus a mhic iad o fhrithealadh
ann an dreuchd nan sagart do'n Tigh-
earna.
15 Agus rinn e dha féin sagairt air
son nan àit ard, agus air son dhiabhol,
agus air son nan laogh a rinn e.)
16 Agus nan déigh-san thàinig
a mach as uile threubhaibh Israeil iad-
san a shocraich an cridhe a dh'iarr-
aidh an Tighearna Dé Israeil, gu
h-Ierusalem a dh'iobradh do'n Tigh-
earna Dia an aithriche.
17 Agus dhaingnich iad rìoghachd
Iudah, agus rinn iad Rehoboam mac
Sholaimh làidir rè thri bliadhna; oir
rè thri bliadhna ghluais iad ann an
slighe Dhaibhidh agus Sholaimh.
18 Agus ghabh Rehoboam Maha-
lat nighean Ierimoit, mhic Dhaibhidh,
dha féin mar mhnaoi; Abihail mar
an ceudna, nighean Eliaib, mhic
Iese:
19 Agus rug ise dha clann; Ieus,
agus Samariah, agus Saham.
20 Agus na déigh-san ghabh e
Maachah, nighean Absaloim, a rug
dha Abiah, agus Atai, agus Sisa, a-
gus Selomit.
21 Agus ghràdhaich Rehoboam
Maachah, nighean Absaloim, os cionn
a bhan agus a choimbleabaichean
uile; (oir ghabh e dha féin ochd
mnài dheug, agus tri fichead coimh-
leabach, agus ghin e ochd mic fhi-
chead, agus tri fichead nighean:)
22 Agus rinn Rehoboam na cheann-
ard Abiah, mac Mhaachah, gu bhi
na riaghlair am measg a bhràithre;
oir smuainich e air a dheanamh na
righ.
23 Agus rinn e gu glic, agus sgaoil
e *a' chuid eile* d'a mhacaibh uile air
feadh uile thìre Iudah agus Beniamin,
anns na bailtibh daingnichte uile; a-
gus thug e dhoibh pailteas bìdh: agus
dh'iarr e mòran bhan.

CAIB. XII.

AGUS an uair a dhaingnicheadh
rìoghachd Rehoboaim, agus a
dh'fhàs e cumhachdach [d], thréig e lagh
an Tighearna, agus Israel uile maille ris.
2 Agus anns a' chùigeadh bliadhna
do righ Rehoboam, thàinig Sisac righ
na h-Eiphit a nìos an aghaidh Ierusa
leim, (a chionn, gu'n do pheacaich iad
an aghaidh an Tighearna,)
3 Le mìle agus da cheud carbad,
agus le tri fichead mìle marcach: a
gus *bha* 'n sluagh gun àireamh a
thàinig maille ris as an Eiphit; na
Lùbaich, na Sucaich, agus na h-E-
tiopaich.

4 Agus

a *chòmhraig.* b *cathair.* c *dlù-bhailtean, fearann comh-roinn; suburbs.* Sasg. d *neartaich se e féin.*

4 Agus ghlac e na bailte daing-
nichte a *bhuineadh* do Iudah, agus
thàinig e gu h-Ierusalem.
5 An sin thàinig Semaiah am fàidh
gu Rehoboam agus gu h-uachdaran-
aibh Iudah, a bha air cruinneachadh
gu h-Ierusalem air eagal Shisaic, a-
gus thubhairt e riu, Mar so tha'n
Tighearn ag ràdh, Dh'fhàg [a] sibhse
mise, agus air an aobhar sin dh'fhàg
mise sibhse ann an làimh Shisaic.
6 An sin dh'irioslaich uachdarain
Israeil agus an righ iad féin, agus
thubhairt iad, *Tha*'n Tighearna ceart.
7 Agus an uair a chunnaic an
Tighearn gu'n d'irioslaich siad iad
féin, thàinig focal an Tighearna gu
Semaiah, ag ràdh, Dh'irioslaich siad
iad féin; cha sgrios mi iad, ach bheir
mi dhoibh càil-eigin do shaorsadh, a-
gus cha taomar mo chorruich a
mach air Ierusalem le làimh Shisaic.
8 Gidheadh, bithidh iad nan
seirbhisich aige, agus bithidh aithne
aca air mo sheirbhis-sa, agus air seir-
bhis rioghachda nan dùchanna.
9 Uime sin thàinig Sisac righ na
h-Eiphit a nìos an aghaidh Ierusaleim,
agus thug e leis ionmhais tighe an
Tighearna, agus ionmhais tighe an
righ; bhuin e leis an t-iomlan: thug
e leis mar an ceudna na targaidean
òir a rinn Solamh.
10 Agus rinn righ Rehoboam tar-
gaidean umha nan àit, agus thug e
thairis *iad* do làimh cheannard an
fhreiceadain, a ghléidh dorus tighe
an righ.
11 Agus an uair a chaidh an righ
a steach do thigh an Tighearna,
thàinig am freiceadan agus thog siad
iad, agus thug iad air an ais iad gu
seòmar an fhreiceadain.
12 Agus an uair a dh'irioslaich se
e féin, thionndaidh corruich an Tigh-
earna uaith, chum nach sgriosadh se
e gu tur. Agus mar an ceudna ann
an Iudah bha nithe gu maith.
13 Agus dhaingnich righ Reho-
boam e féin ann an Ierusalem, agus
rìoghaich e. A nis *bha* Rehoboam
aon agus dà fhichead bliadhna dh'aois
an uair a thòisich e air rìoghachadh,
agus rìoghaich e seachd bliadhna deug
ann an Ierusalem, am baile a thagh
an Tighearn *a* mach as uile threubhaibh
Israeil a chur 'ainme an sin: agus *b'e*
ainm a mhàthar Naamah, Ban-amon-
ach.
14 Agus rinn e olc, a chionn nach
d'ulluich e a chridhe a dh'iarraidh an
Tighearna.
15 A nis gnìomhara Rehoboaim,
an toiseach agus mu dheireadh, nach
'eil iad scrìobhta ann an leabhar She-
maiah an fhàidh, agus Ido an fhir-
sheallaidh, mu thimchioll ghinealach?
Agus *bha* cogadh eadar Rehoboam a-
gus Ieroboam rè *an* laithean uile.
16 Agus choidil Rehoboam maille
r'a aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh
e ann am baile Dhaibhidh. Agus
rìoghaich Abiah a mhac na àit.

CAIB. XIII.

A NIS anns an ochdamh bliadhna
deug do righ Ieroboam, thòisich
Abiah [b] air rìoghachadh os cionn Iu-
dah.
2 Tri bliadhna rìoghaich e ann an
Ierusalem: agus *b'e* ainm a mhàthar
Maachah, nighean [Abisaloim, mhic]
Urieil o Ghibeah [c]. Agus bha cogadh
eadar Abiah agus Ieroboam.
3 Agus chuir Abiah an cath an
ordugh le armailt do dhaoinibh treun
ann an cogadh, ceithir cheud mìle
fear taghta: agus chuir Ieroboam an
cath an ordugh na aghaidh le ochd
ceud mìle fear taghta, daoine treun
gaisgeil.
4 Agus sheas Abiah suas air sliabh
Shemaraim, a *tha* ann an sliabh E-
phraim, agus thubhairt e, Eisdibh
rium, a Ieroboam, agus Israel uile.
5 Nach bu chòir dhuibhse fios a bhi
agaibh gu'n d'thug an Tighearna Dia
Israeil an rìoghachd os cionn Israeil
thairis do Dhaibhidh gu bràth, *eadhon*
dha-san agus d'a mhacaibh le coimh-
cheangall salainn?
6 Gidheadh, dh'éirich Ieroboam,
mac Nebait, seirbhiseach Sholaimh
mhic Dhaibhidh suas, agus rinn e
ceannairc an aghaidh a thighearna;
7 Agus chruinnich d'a ionnsuidh
daoine

a *Thréig.* b *Abiam.* I. Righ. Caib. XV. r. 1. c Faic. I. Righ.
Caib. XV. r. 2.

daoine faoine, mic Bheliail, agus
neartaich fiad iad féin an aghaidh
Rehoboaim, mhic Sholaimh, 'nuair a
bha Rehoboam òg agus tais-chridh-
each[a], agus nach b'urrainn e cur nan
aghaidh.
8 Agus a nis *tha* fibh a' fmuain-
eachadh air cur an aghaidh riogh-
achd an Tighearna ann an làimh
mhac Dhaibhidh, agus *tha* fibh nar[b]
fluagh mòr, agus *tha* agaibh laoigh
òir, a rinn Ieroboam dhuibh mar
dhée.
9 Nach do thilg fibh a mach fa-
gartan an Tighearna, mic Aaroin, a-
gus na Lebhithich, agus nach d'rinn
fibh dhuibh féin fagarta mar chinnich
eile an domhain? Gach neach a thig
g'a choifreagadh féin le tarbh òg agus
le feachd reitheachaibh, bithidh efan
air ball na fhagart dhoibhfan nach
'*eil* nan déibh.
10 Ach d'ar taobh-ne, *is e*'n Tigh-
earn ar Dia, agus cha do thréig finn
e: agus *is iad* mic Aaroin na fagairt
a tha frithealadh do'n Tighearn, agus
tha na Lebhithich *a' feitheamh* air *an*
obair *féin*.
11 Agus *tha* iad a lofgadh do'n
Tighearn iobairte-loifgte air gach
maduinn agus air gach feafgar, agus
tùis chùbhraidh; agus *tha* aran na
fianuis air a' bhord fhìorghlan, agus
an coinnleir òir maille r'a lòchranaibh
a lafadh air gach feafgar: oir *tha* finne
a' gleidheadh cùraim an Tighearna ar
Dé; ach thréig fibhfe e.
12 Agus feuch, maille ruinne *tha*
Dia féin na cheannard *oirnn*, agus a
fhagairt le trompaidibh fuaimneach a
thoirt caifmeachd nar n-aghaidh-fa.
A chlann Ifraeil, na cogaibhfe an
aghaidh an Tighearna Dé bhur n-aith-
riche; oir cha foirbhich fibh.
13 Ach thug Ieroboam air luchd
feall-fholaich[c] teachd mu'n cuairt
air an cùlaobh, air chor as gu robh
iad féin fa chomhair Iudah, agus an
luchd feall-fholaich air an cùlaobh.
14 Agus an uair a sheall Iudah
nan déigh, feuch, *bha*'n cath air am
beulaobh agus air an cùlaobh: agus
ghlaodh iad ris an Tighearn, agus
rinn na fagairt fuaim le trompaidibh.
15 Agus rinn fir Iudah gàir: agus
an uair a rinn fir Iudah gàir, air ball
bhuail Dia Ieroboam agus Ifrael uile
roimh Abiah agus Iudah.
16 Agus theich clann Ifraeil roimh
Iudah; agus thug Dia thairis iad nan
làimh.
17 Agus mharbh Abiah agus a
fhluagh iad le h-àr mòr; oir thuit
sìos marbhta do Ifrael, cùig ceud
mìle fear taghta.
18 Agus dh'irioflaicheadh clann
Ifraeil air an àm fin, agus neartaich-
eadh[d] clann Iudah, a chionn gu'n
d'earb iad as an Tighearna Dia an
aithriche.
19 Agus lean Abiah an ruaig air
Ieroboam, agus ghlac e uaith mòr-
bhailte[e]; Bet-el le 'bhailtibh beaga,
agus Iefanah le 'bhailtibh beaga, agus
Ehprón le 'bhailtibh beaga.
20 Agus cha d'fhuair Ieroboam
neart ni's mò ann an laithibh Abiah:
agus bhuail an Tighearn e, agus
fhuair e bàs.
21 Ach dh'fhàs Abiah cumhachd-
ach, agus phòs e[f] ceithir mnài dheug,
agus ghin e dà mhac thar fhichead,
agus sè nigheana deug.
22 Agus a' chuid eile do ghnìomh-
araibh Abiah, agus a fhlighean, agus
a bhriathra, *tha iad* fcrìobhta ann an
eachdraidh an fhàidh Ido.

CAIB. XIV.

AGUS choidil Abiah maille r'a
aithrichibh, agus dh'adhlaic
iad e ann am baile Dhaibhidh; agus
rioghaich Afa a mhac na àit. Na
laithibhfan bha'n tìr sàmhach[g] deich
bliadhna.
2 Agus rinn Afa an *ni a bha* maith
agus ceart ann an sùilibh an Tighear-
na a Dhé:
3 Oir chuir e air falbh altairean
nan *dée* coimheach, agus na h-àitean
arda, agus bhris e sìos na dealbhan,
agus ghearr e sìos na doireachan;
4 Agus dh'àithn e do Iudah an
Tighearna Dia an aithriche iarraidh,
agus

a *maoth-chridheach*. b *ann bhur*. c *plaid-luidhe*. d *bhuadhaich*.
e *caithriche*. f *ghabh e d'a ionnfuidh*. Eabh. g *aig foit*.

agus an lagh a ghleidheadh [a], agus
an àithne.

5 Chuir e air falbh mar an ceudna
as uile bhailtibh Iuda, na h-àitean
arda agus na dealbhan [b]. Agus bha
'n rìoghachd sàmhach na làthair.

6 Agus thog e bailte daingnichte
ann an Iudah: oir bha'n tìr siochail,
agus cha *robh* cogadh aige anns na
bliadhnaibh sin; oir thug an Tigh-
earna fois da.

7 Uime sin thubhairt e ri Iudah,
Togamaid na bailte so, agus deanam-
aid mu'n cuairt *orra* ballachan, le
tùraibh, geatachaibh agus crannaibh,
an uair *a tha*'n tìr fathast romhainn:
oir dh'iarr sinne an Tighearn ar Dia;
dh'iarr sinn *e*, agus thug e fois dhuinn
air gach taobh. Uime sin thog iad,
agus shoirbhich leo.

8 Agus bha aig Asa armailt *do
dhaoinibh* a dh'iomchair sgiath agus
sleagh, as Iudah tri cheud mìle, agus
a Beniamin, a dh'iomchair targaid a-
gus a tharruing bogha, dà cheud a-
gus ceithir fichead mìle: iad sin uile
nan daoinibh treun gaisgeil.

9 Agus thàinig amach nan agh-
aidh Serah an t-Etiopach le armailt
mìle do mhìltibh, agus tri cheud car-
bad, agus thàinig e gu Maresah.

10 Agus chaidh Asa mach na
aghaidh, agus chuir iad an cath an
ordugh ann an gleann Shephatha aig
Maresah.

11 Agus ghlaodh Asa ris an Tigh-
earn a Dhia, agus thubhairt e, A
Thighearna, cha *n'eil* ann ach an aon
chuid duitse cuideachadh le mòran,
no leo-san *a ta* gun neart: cuidich
leinne, a Thighearna ar Dia; oir as-
adsa earbaidh sinn, agus ann ad
ainm-sa théid sinn an aghaidh na mòr-
chuideachd so: a Thighearna, *is* tusa
ar Dia; na buadhaicheadh duine a't'
aghaidh.

12 Agus bhuail an Tighearna na
h-Etiopaich roimh Asa, agus roimh
Iudah; agus theich na h-Etiopaich.

13 Agus lean Asa agus an sluagh
a *bha* maille ris iad gu Gerar: agus
thuit do na h-Etiopaich uiread [c] as
nach robh tuilleadh neirt aca [d]; oir
sgriosadh iad roimh an Tighearn agus
roimh 'fheachd: agus thug iad leo
ro-mhòran creiche.

14 Agus bhuail iad na bailtean
uile mu'n cuairt air Gerar, oir bha
eagal an Tighearna orra: agus chreach
iad na bailtean uile, oir bha mòran
creiche annta.

15 Agus bhuail iad mar an ceudna
bùthan na spréidh, agus thug iad leo
caoraich ann am pailteas, agus cà-
mhail; agus phill iad gu h-Ierusa-
lem.

CAIB. XV.

AGUS thàinig spiorad Dhé air A-
sariah mac Odeid.

2 Agus chaidh e suas an coin-
neamh Asa, agus thubhairt e ris,
Eisdibh riumsa, Asa, agus Iudah uile,
agus a Bheniamin; *Tha 'n* Tighearna
maille ribh, am feadh a tha sibhse
maille ris-san: agus ma dh'iarras
sibh e, gheibhear leibh e; ach ma
thréigeas sibhse esan, tréigidh esan
sibhse.

3 A nis rè iomadh là *bithidh* Israel
as eugmhais Dhé na firinn, agus as
eugmhais sagairt a theagaisgeas, agus
as eugmhais lagha.

4 Ach an uair a philleas iad nan
airc a dh'ionnsuidh an Tighearna Dé
Israeil, agus a dh'iarras iad e, gheibh-
ear leo e.

5 Agus anns na h-amannaibh sin
cha *bhi* sìth ann dha-san a théid
amach, no dha-san a thig a steach,
ach buaireas [e] mòr air uile luchd-
àiteachaidh nan dùchanna.

6 Agus sgriosar cinneach le cinn-
each, agus baile le baile; oir claoidh-
idh Dia iad leis gach airc.

7 Ach bithibhse làidir, agus na
biodh bhur làmha lag; oir tha duais
ann air son bhur n-oibre.

8 Agus an uair a chual Asa na
briathra sin, agus fàidheadaireachd
[Asariah mhic] Odeid an fhàidh,
ghabh e misneach, agus chuir e air
falbh na *h-iodhola* gràineil a tìr Iu-
dah agus Bheniamin uile, agus as na
bailtibh a ghlac e do shliabh Ephraim,
agus dh'athnuadhaich e altair an
Tighearna,

a *dheanamh*. Eabh. b *grian-riochdan*. c *oiread*. Eir. d *nach
robh a' bheag beò dhiubh*. e *tuairgne*, *cràdh-shlat*.

Tighearna, a *bha* air beulaobh fgàth-
thighe an Tighearna.

9 Agus chruinnich e Iudah uile
agus Beniamin, agus na coigrich mail-
le riu a h-Ephraim, agus a Manafeh,
agus a Simeon; oir thàinig iad thairis
d'a ionnfuidh a h-Ifrael ann am pailt-
eas, an uair a chunnaic iad gu'*n robh*
an Tighearn a Dhia maille ris.

10 Agus chruinnich iad an cionn a
chéile aig Ierufalem anns an treas
mìos, anns a' chùigeadh bliadhna
deug do rioghachadh Afa.

11 Agus dh'iobair iad do'n Tigh-
earna fan àm fin do'n chreich *a* thug
iad leo, feachd ceud bò, agus feachd
mìle caora.

12 Agus rinn iad coimhcheangal gu'n
iarradh iad an Tighearna Dia an aith-
riche le'n uile chridhe, agus le'n uile
anam:

13 Agus gu'n rachadh gach neach
nach iarradh an Tighearna Dia Ifraeil,
a chur gu bàs, co dhiubh bu bheag
no mòr, fear no bean e.

14 Agus mhionnaich iad do'n
Tighearna le guth ard, agus le gàir,
agus le trompaidibh, agus le buabhul-
laibh.

15 Agus rinn Iudah uile gair-
deachas a thaobh nam mionna fin:
oir mhionnaich iad le'n uile chridhe,
agus dh'iarr iad e le'n uile rùn; agus
fhuaradh e leo. Agus thug an Tigh-
earna fois dhoibh air gach taobh.

16 Agus mar an ceudna *thaobh*
Mhaachah màthar righ Afa, chuir e
i o *bhi* na ban-righinn, a chionn gu'n
d'rinn i dealbh uamhafach ann an
doire: agus ghearr Afa sìos a dealbh
uamhafach, agus mhìn-phronn fe *e*,
agus loifg fe *e* aig fruth Chidroin.

17 Ach cha do chuireadh na h-àit-
ean arda air falbh a h-Ifrael: gidheadh,
bha cridhe Afa iomlan rè a laithean
uile.

18 Agus thug e fteach na nithean
a naomhaich 'athair, agus na nithean
a naomhaich e féin, do thigh an
Tighearna, airgiod agus òr, agus
foithichean.

19 Agus cha robh cogadh tuilleadh
ann gu ruig an cùigeadh bliadhna
deug thar fhichead do rìoghachadh
Afa.

CAIB. XVI.

ANNS an t-feathadh bliadhna
deug thar fhichead do rìogh-
achadh Afa, thàinig Baafa righ Ifraeil
a nìos an aghaidh Iudah, agus thog e
Ramah, chum nach leigeadh e le
neach air bith dol a mach no teachd
a ftigh gu Afa righ Iudah.

2 An fin thug Afa mach airgiod
agus òr as ionmhafaibh tighe an
Tighearna agus tighe an righ, agus
chuir e *teachdairean* gu Benhadad
righ Shiria a bha chòmhnuidh aig
Damafcus, ag ràdh,

3 *Biodh* coimhcheangal eadar mife
agus thufa, mar *a bha* eadar m'athair-
fa agus t'athair-fa: feuch, chuir mi
a t' ionnfuidh airgiod agus òr; falbh,
bris do choimhcheangal ri Baafa righ
Ifraeil, a chum gu'n imich e uam.

4 Agus dh'éifd Benhadad ri righ
Afa, agus chuir e ceannardan nan
armailt a *bha* aige, an aghaidh bhail-
tean Ifraeil; agus bhuail iad Ion, a-
gus Dan, agus Abel-maim, agus uile
bhailtean ionmhais Naphtali.

5 Agus an uair a chuala Baafa *fin*,
leig e dheth Ramah a thogail, agus
fguir e d'a obair.

6 An fin thug Afa an righ leis
Iudah uile, agus thug iad leo clacha
Ramah, agus 'fhiodh, leis an robh
Baafa a' togail; agus thog e leo Geba,
agus Mifpah.

7 Agus anns an àm fin thàinig Ha-
nani am fear-feallaidh gu h-Afa righ
Iudah, agus thubhairt e ris, A chionn
gu'n d'earb thu a righ Shiria, agus
nach d'earb thu as an Tighearna do
Dhia, uime fin tha armailt righ Shiria
air dol as o d' làimh.

8 Nach robh na h-Etiopaich agus
na Lubaich nan fluagh lìonmhor,
le ro-mhòran charbad agus marc-
fhluaigh? gidheadh, a chionn gu'n
d'earb thu as an Tighearn, thug e
thairis do d' làimh iad.

9 Oir *tha* sùilean an Tighearn ag
amharc a null agus a nall air feadh
na talmhainn uile, a chum e féin a
nochdadh làidir as *an* leth-*fan*, aig
am bheil cridhe iomlan d'a thaobh.
Rinn thu gu h-amaideach an fo; air
an aobhar fin o fo a mach bithidh cog-
adh a'd' aghaidh.

10 An

10 An sin bha fearg air Asa ris an fhear-shealladh, agus chuir e ann an tigh prìosain e, a chionn gu'n robh e ann an corruich ris a thaobh an ni so. Agus rinn Asa ainneart air cuid do'n t-sluagh san àm sin.

11 Agus feuch, gnìomharan Asa, an toiseach agus mu dheireadh, feuch, tha iad scrìobhta ann an leabhar righrean Iudah agus Israeil.

12 Agus dh'fhàs eucail air Asa na chosaibh anns an naothadh bliadhna deug thar fhichead d'a rìoghachadh, gus an d'thàinig 'eucail gu h-airde mhòir: gidheadh, na eucail cha d'iarr e an Tighearn, ach na lighichean.

13 Agus choidil Asa maille r'a aithrichibh, agus dh'eug e anns a' cheud bliadhna agus dà fhichead d'a rìoghachadh.

14 Agus dh'adhlaic iad e na uaigh féin, a rinn e air a shon féin ann am baile Dhaibhidh, agus chuir iad na luidhe e ann an leabaidh, a lìonadh le nithibh cùbhraidh [a], agus le h-iomadh gnè olaidh [b] air an deasachadh le h-ealadhain an léigh: agus rinn iad dha losgadh ro-mhòr.

CAIB. XVII.

AGUS rìoghaich Iehosaphat a mhac na àit, agus neartaich se e féin an aghaidh Israeil.

2 Agus chuir e feachd ann an uile bhailtibh daingnichte Iudah, agus chuir e freiceadain ann an tìr Iudah, agus ann am bailtibh Ephraim, a ghlac Asa 'athair.

3 Agus bha 'n Tighearna maille ri Iehosaphat, a chionn gu'n do ghluais e ann an ceud shlighibh Dhaibhidh 'athar, agus nach d'iarr e dh'ionnsuidh Bhaalim [c],

4 Ach gu'n d'iarr e dh'ionnsuidh [an Tighearna] Dé 'athar, agus gu'n do ghluais e na àitheantaibh, agus cha b'ann a réir deanadais Israeil:

5 Uime sin dhaingnich an Tighearn an rìoghachd na làimh, agus thug Iudah uile tiodhlacan gu Iehosaphat; agus bha aige beartas agus urram ann am pailteas.

6 Agus dh'ardaicheadh a chridhe ann an slighibh an Tighearna; agus mar an ceudna chuir e air falbh na h-àitean arda agus na doireachan as Iudah.

7 Agus anns an treas bliadhna d'a rìoghachadh chuir e cuid da uachdaranaibh [d], Benhail, agus Obadiah, agus Sechariah, agus Netaneel, agus Micaiah, a theagasg ann am bailtibh Iudah:

8 Agus maille riu-san na Lebhithich, Semaiah, agus Netaniah, agus Sebadiah, agus Asahel, agus Semiramot, agus Iehonatan, agus Adoniah, agus Tobiah, agus Tob-adoniah, Lebhithich uile; agus maille riu-san Elisama, agus Iehoram, na sagairt.

9 Agus theagaisg iad ann an Iudah, agus leabhar lagha an Tighearna aca, agus chaidh iad mu'n cuairt air feadh uile bhailtean Iudah, agus theagaisg iad an sluagh.

10 Agus bha eagal an Tighearna air uile rìoghachdaibh nan tìr a bha mu'n cuairt air Iudah, agus cha do chog iad ri Iehosaphat.

11 Agus thug cuid do na Philistich tiodhlacan do Iehosaphat, agus airgiod cìse: mar an ceudna thug na h-Arabaich d'a ionnsuidh spréidh, seachd mìle agus seachd ceud reithe, agus seachd mìle agus seachd ceud boc-gaibhre.

12 Agus dh'fhàs Iehosaphat gu h-anbarrach mòr; agus thog e ann an Iudah caistealan [e] agus bailtean ionmhais.

13 Agus bha mòran oibre aige ann am bailtibh Iudah, agus fir-chogaidh, daoine comasach gaisgeil ann 'an Ierusalem.

14 Agus so an àireamh, a réir tighe an aithriche: Do Iudah, ceannarda mhìltean; Adnah an ceannard, agus maille ris daoine comasach gaisgeil, tri cheud mìle.

15 Agus na dhéigh-san Iehohanan an ceannard, agus maille ris dà cheud agus ceithir fichead mìle.

16 Agus na dhéigh-san Amasiah mac Shichri, a thug e féin suas do'n Tighearn, agus maille ris dà cheud mìle fear comasach gaisgeil.

17 Agus

[a] *spìosraidh deagh-bholaidh.* [b] *oinemeid.* [c] *dhiathan bréige.*
[d] *chuir e sios a dh'ionnsuidh uachdaran.* [e] *tùir.*

17 Agus do Bheniamin; Eliada fear comaſach gaiſgeil, agus maille ris daoine armaichte le bogha agus le targaid, dà cheud mìle.

18 Agus na dhéigh-ſan Iehoſabad, agus maille ris ceud agus ceithir fichead mìle, deas gu cogadh.

19 *Bha* iad ſin a' feitheamh air an righ, a bhàrr *orra-ſan* a chuir an righ anns na bailtibh daingnichte air feadh Iudah uile.

CAIB. XVIII.

AGUS bha aig Iehoſaphat beartas agus cliu ann am pailteas; agus rinn e cleamhnas ri Ahab.

2 Agus an ceann bliadhnan *àraidh* chaidh e sìos a dh'ionnſuidh Ahaib do Shamaria: agus mharbh Ahab caoraich agus crodh ann am pailteas air a ſhon, agus air ſon an t-ſluaigh a *bha* maille ris, agus chuir e impidh air dol ſuas gu Ramot-gilead.

3 Agus thubhairt Ahab righ Iſraeil ri Iehoſaphat righ Iudah, An dthéid thu maille riumſa do Ramot-gilead? Agus ſhreagair eſan e, *Tha* miſe mar *a ta* thuſa, agus mo ſhluagh mar do ſhluagh-ſa, agus *bithidh ſinn* leat anns a' chogadh.

4 Agus thubhairt Iehoſaphat ri righ Iſraeil, Fioſraich [a], guidheam ort, an diugh do fhocal an Tighearna.

5 Uime ſin chruinnich righ Iſraeil na fàidhean an ceann a chéile, ceithir cheud fear, agus thubhairt e riu, An dthéid ſinn do Ramot-gilead gu cath, no'n leig mi leis? agus thubhairt iadſan, Falbh ſuas; oir bheir Dia an làimh an righ *iad*.

6 Agus thubhairt Iehoſaphat, Nach *'eil* an ſo fàidh tuilleadh leis an Tighearna, chum gu'm fioſraich ſinn dheth?

7 Agus thubhairt righ Iſraeil ri Iehoſaphat, *Tha* fathaſt aon fhear *ann*, leis am feud ſinn fioſrachadh do'n Tighearna; ach tha fuath agam dha, oir cha *'n 'eil* e deanamh fàiſtineachd mu m' thimchioll idir air maith, ach an còmhnuidh air olc: *is* e ſo Micaiah, mac Imla. Agus thubhairt Iehoſaphat, Na h-abradh an righ mar ſin.

8 Agus ghairm righ Iſraeil aon d'a mhaoraibh, agus thubhairt e, Greas *an ſo* Micaiah mac Imla.

9 Agus ſhuidh righ Iſraeil, agus Iehoſaphat *righ* Iudah, gach fear air a righ-chathair féin, le'n earradh *rìoghail* orra, agus ſhuidh iad ann an àite réidh, aig dol a ſteach geataidh Shamaria, agus *bha* na fàidhean uile ri fàidheadaireachd nan làthair.

10 Agus rinn Sedeciah, mac Chenaanah, adhaircean iaruinn dha féin, agus thubhairt e, Mar ſo tha'n Tighearn ag ràdh, Leo ſo buailidh tu na Sirianaich [b], gus an cuirear as doibh.

11 Agus rinn na fàidhean uile fàidheadaireachd mar ſin, ag ràdh, Falbh ſuas gu Ramot-gilead, agus ſoirbhich; oir bheir an Tighearn an làimh an righ *iad*.

12 Agus an teachdair' a chaidh a ghairm Mhicaiah, labhair e ris, ag ràdh, Feuch, *tha* briathra nam fàidh le h-aon bheul *a' foillſeachadh* maith do'n righ: bitheadh t'fhocal-ſa, guidheam ort, mar *fhocal* aoin diubhſan, agus labhair maith.

13 Agus thubhairt Micaiah, *Mar is* beo an Tighearn, eadhon *an ni a* their mo Dhia, ſin labhraidh miſe.

14 Agus thàinig e dh'ionnſuidh an righ, agus thubhairt an righ ris, A Mhicaiah, an dthéid ſinn do Ramot-gilead gu cath, no'n leig mi leis? agus thubhairt eſan, Rachaibh ſuas, agus ſoirbhichibh; oir bheirear ann bhur làimh *iad*.

15 Agus thubhairt an righ ris, Cia lion uair a mhionnaicheas mi thu, nach innis thu dhomh ach an fhìrinn ann an ainm an Tighearna?

16 Agus thubhairt eſan, Chunnaic mi Iſrael uile ſgapta air na ſléibhtibh, mar chaoraich aig nach *'eil* aodhaire: agus thubhairt an Tighearna, Cha *'n 'eil* maighſtir [c] orra ſo; pilleadh gach fear d'a thigh féin ann an ſìth.

17 (Agus thubhairt righ Iſraeil ri Iehoſaphat, Nach d'innis mi dhuit, nach deanadh e fàiſtineachd mu m' thimchioll-ſa air maith, ach air olc?)

18 A rìs thubhairt e, Uime ſin éiſdibh ri focal an Tighearna: Chunnaic miſe an Tighearna na ſhuidhe air

a *Feòraich.* b *purraidh tu Siria.* c *tighearn.*

air a righ-chathair, agus uile ſhlòigh
nan nèamh nan ſeaſamh air a làimh
dheis agus air a làimh chlì.
19 Agus thubhairt an Tighearna,
Cò a chuireas impidh air [a] Ahab righ
Iſraeil, a chum as gu'n dthéid e ſuas,
agus gu'n tuit e ann an Ramot-gilead?
Agus labhair aon, ag ràdh mar ſo,
agus aon eile ag ràdh mar ſud.
20 Agus thàinig ſpiorad a mach,
agus ſheas e am fianuis an Tighearna,
agus thubhairt e, Cuiridh miſe impidh
air. Agus thubhairt an Tighearna
ris, Cia leis?
21 Agus thubhairt eſan, Théid mi
mach, agus bithidh mi a'm' ſpiorad
bréige ann am beul 'fhàidhean uile.
Agus thubhairt an Tighearna, Cuir-
idh tu impidh air, agus mar an ceud-
na buaidhichidh tu: imich, agus dean
mar ſin.
22 A nis uime ſin, feuch, chuir an
Tighearna ſpiorad bréige ann am
beul nam fàidh ſin agad, agus labh-
air an Tighearn olc mu d' thimchioll.
23 An ſin chaidh Sedeciah mac
Chenaanah am fagus, agus bhuail e
Micaiah air a' ghiall, agus thubhairt
e, Cia an taobh a chaidh ſpiorad an
Tighearna uamſa a labhairt riutſa?
24 Agus thubhairt Micaiah, Feuch,
chi thu ſan là ſin air an dtheid thu
ſteach do ſheòmar-cùil gu t'fholach-
adh féin.
25 An ſin thubhairt righ Iſraeil,
Glacaibh Micaiah, agus thugaibh air
ais e gu h-Amon, uachdaran a' bhaile,
agus gu Ioas mac an righ:
26 Agus abraibh, Mar ſo thubh-
airt an righ, Cuiribh am *fear* ſo anns
a' phrìoſan, agus beathaichibh e le
aran airce [b], agus le uiſge airce, gus
am pill miſe ann an ſìth.
27 Agus thubhairt Micaiah, Ma
philleas tuſa idir ann an ſìth, cha do
labhair an Tighearna leamſa. Agus
thubhairt e, Eiſdibh, a ſhlòigh uile [c].
28 Uime ſin chaidh righ Iſraeil,
agus Iehoſaphat righ Iudah, ſuas gu
Ramot-gilead.
29 Agus thubhairt righ Iſraeil ri
Iehoſaphat, Cuiridh miſe mi féin ann
an coſlas eile, agus théid mi ſteach
do'n chath; ach cuir thuſa t'earradh
rìoghail ort. Agus chuir righ Iſraeil
e féin ann an coſlas eile, agus chaidh
e [d] ſteach do'n chath.
30 A nis dh'àithn righ Shiria do
cheannardaibh nan carbad a *bha* aige,
ag ràdh, Na cogaibh ris a' bheag,
no ris a' mhòr, ach ri righ Iſraeil a
mhàin.
31 Agus an uair a chunnaic ceann-
ardan nan carbad Iehoſaphat, thubh-
airt iad, *Is* e ſo righ Iſraeil: uime
ſin thàinig iad mu'n cuairt air a
chogadh. Ach ghlaodh Iehoſaphat
a mach, agus chuidich an Tighearna
leis, agus dh'aom Dia iad *gu falbh*
uaith.
32 Oir an uair a chunnaic ceann-
ardan nan carbad nach b'e righ Iſ-
raeil a bha ann, phill iad o a lean-
tuinn.
33 Agus tharruing fear *a* bhogha
a thaobh tuaimſe [e], agus bhuail e
righ Iſraeil eadar alta na lùirich: ui-
me ſin thubhairt e r'a charbadair,
Tionndaidh do làmh, agus thoir a
mach as an fheachd [f] mi; oir tha mi
leonte.
34 Ach mheudaich an cath air an
là ſin: uime ſin dh'fhan righ Iſraeil
ſhuas *na* charbad an aghaidh nan Si-
rianach gu ruig am feaſgar; agus
fhuair e bàs mu àm dol ſodha [g] na
gréine.

CAIB. XIX.

AGUS phill Iehoſaphat righ Iu-
dah a dh'ionnſuidh a thighe
ann an ſìth gu h-Ieruſalem.
2 Agus chaidh Iehu mac Hanani
am fear-ſeallaidh a mach na choin-
neamh, agus thubhairt e ri righ Ie-
hoſaphat, Am buineadh dhuitſe an
t-aingidh a chuideachadh, agus iad-
ſan a ghràdhachadh a dh'fhuathaich-
eas an Tighearna? uime ſin *tha* fearg
riut o làthair an Tighearna.
3 Ach fhuaradh nithe maithe ann-
ad, a thaobh gu'n do chuir thu air
falbh na doireachan as an tìr, agus
gu'n d'ulluich thu do chridhe a dh'iarr-
aidh Dhé.

4 Agus

a *a dh'aomas, a mhealļas.* b *teanntachd.* c *Eiſdeadh gach uile ſhluagh.* d *iad.* e *tuairimeis, teagmhuis, tuitimeis.* f *as an t-ſluagh.* g *fuidh.*

4 Agus ghabh Iehoſaphat còmh-
nuidh ann an Ierusalem : agus chaidh
e mach a ris air feadh an t-ſluaigh, o
Bheer-ſeba gu ſliabh Ephraim, agus
thug e air an ais iad a dh'ionnſuidh an
Tighearna Dé an aithriche.
5 Agus ſhuidhich e breitheamhna
anns an tìr, air feadh uile bhailte
daingnichte Iudah, anns gach baile
fa leth.
6 Agus thubhairt e ris na breith-
eamhnaibh, Thugaibh an aire ciod a
ni ſibh, oir cha 'n ann air ſon duine
a tha ſibh a' tabhairt breth, ach air
ſon an Tighearna ; agus *tha e féin*
maille ribh anns a' bhreitheanas [a].
7 A nis ma ta bitheadh eagal an
Tighearna oirbh : thugaibh an aire
agus bithibh a' deanamh ; oir maille
ris an Tighearn ar Dia cha '*n 'eil* eu-
ceart, no bàigh ri neach ſeach a'
chéile, no gabhail duaiſe.
8 Agus mar an ceudna ann an Ie-
ruſalem ſhuidhich Iehoſaphat *cuid* do
na Lebhitheachaibh, agus *do* na ſa-
gartaibh, agus do cheannaibh theagh-
lach [b] Iſraeil, air ſon breitheanais an
Tighearna, agus gu connſachadh *a
chriochnachadh* an uair a phill iad gu
h-Ieruſalem.
9 Agus thug e ſparradh dhoibh,
ag ràdh, Mar ſo ni ſibh ann an eagal
an Tighearna, ann an ionracas [c], a-
gus le cridhe iomlan.
10 Agus ge b'e cùis a thig d'ar
n-ionnſuidh o bhur bràithribh a tha
chòmhnuidh nam bailtibh, eadar fuil
agus fuil, eadar lagh agus àithne,
reachdan agus breitheanais, bheir ſibh
rabhadh dhoibh nach dean iad euſaont-
as an aghaidh an Tighearna, agus
gu'n dthig fearg oirbhſe agus air
bhur bràithribh : deanaibh mar ſo,
agus cha chiontaich ſibh.
11 Agus feuch, *tha* Amariah an
t-ard ſhagart os bhur cionn ann an
uile ghnothuichibh an Tighearna, a-
gus Sebadiah mac Iſmaeil na cheann-
ard air tigh Iudah ann an uile ghnoth-
uichibh an righ, agus na Lebhithich
nan luchd-riaghlaidh nar [d] fianuis.
Bithibh miſneachail, agus deanaibh ;
agus bithidh an Tighearna maille ris
a' mhaith.

CAIB. XX.

AGUS an deigh nan nithe ſo thài-
nig clann Mhoaib, agus clann
Amoin, agus maille riu cuid do na
h-Edomaich [e], an aghaidh Iehoſaphait
gu cath.
2 Agus thàinig *teachdairean*, a-
gus dh'innis iad do Iehoſaphat, ag
ràdh, Tha ſluagh mòr a' teachd ort
a nall thar fairge, *agus* o Edom [f] ; a-
gus feuch, *tha* iad ann an Haſaſon-
tamar ; *is* e ſin En-gedi.
3 Agus bha eagal air Iehoſaphat,
agus chuir e 'aghaidh a dh'iarradh an
Tighearna, agus ghairm e troſgadh
air feadh Iudah uile.
4 Agus chruinnicheadh Iudah an
cionn a chéile a dh'iarraidh *còghnaidh* [g]
o'n Tighearna : eadhon as uile bhail-
tibh Iudah thàinig iad a dh'iarraidh
an Tighearna.
5 Agus ſheas Iehoſaphat ann an
coimhthional Iudah agus Ieruſaleim,
ann an tigh an Tighearna, fa cho-
mhair na cùirte nomha,
6 Agus thubhairt e, a Thighearna
Dhé ar n-aithriche, nach tuſa Dia
anns na neamhaibh ? agus *nach 'eil*
thu a' riaghladh os cionn uile rìogh-
achda nan cinneach ? agus ann ad
làimh-ſa *nach 'eil* neart agus cumh-
achd, air chor as nach 'eil neach air
bith comaſach air ſeaſamh a' t' agh-
aidh ?
7 Nach tuſa ar Dia-ne, a dh'fhòg-
air a mach luchd-àiteachaidh na tìre ſo
roimh do ſhluagh Iſrael, agus a thug
i do ſhliochd [h] Abrahaim do charaid
gu bràth ?
8 Agus ghabh iad còmhnuidh inn-
te, agus thog iad air do ſhonſa innte
ionad naomha, air ſon t'ainme-ſa, ag
ràdh,
9 Ma thig olc air bith oirnn, claidh-
eamh, breitheanas [i], no plàigh, no
gortadh, ſeaſaidh ſinn fa chomhair an
tighe-ſo, agus ann ad fhianuis-ſa,
(oir

a *ann am focal* no *gnothuch a' bhreitheanais.* Eabh. b *aithrichean.*
Eabh. c *ſirinn.* d *ann bhur.* e *agus maille riu* daoin' eile *thuil-
leadh air na h-Amonaich.* f *air an taobh ſo do Shiria.* g *congnaimh*
Eir. h *ſhiol.* i *claidheamh a' bhreitheanais.*

(oir *tha* t'ainm anns an tigh ſo) agus glaodhaidh ſinn riut nar teinn [d], agus eiſdidh tuſa, agus ſaoraidh tu *ſinn.*

10 Agus a nis, feuch, *tha* clann Amoin, agus Mhoaib, agus ſléibh Sheir, aig nach do leig thu le h-Iſrael dol troimh an criocha, 'nuair a thàinig iad a tìr na h-Eiphit, ach thionndaidh iad uatha, agus cha do ſgrios ſiad iad :

11 Feuch, a nis, *mar a ta* iad a' toirt luigheachd dhuinn, le teachd gus ar tilgeadh a mach as t'oighreachd, a thug thu dhuinn r'a ſealbhachadh.

12 O ar Dia, nach dthoir thu breth orra ? oir cha *'n 'eil* neart againne an aghaidh an t-ſluaigh mhòir ſo, a tha teachd oirnn : agus cha 'n 'eil fhios againn ciod a ni ſinn ; ach ortſa *tha* ar sùilean.

13 Agus ſheas Iudah uile am fianuis an Tighearna ; mar an cendna an òigridh, am mnài agus an clann.

14 Agus air Iahaſiel, mac Shechariah, mhic Bhenaiah, mhic Iehieil, mhic Mhataniah, Lebhitheach do mhacaibh Aſaiph, bha ſpiorad an Tighearna ann am meadhon a' choimhthionail ;

15 Agus thubhairt e, Eiſdibh *riumſa*, a Iudah uile, agus a luchd-àiteachaidh Ieruſalem, agus thuſa a righ Iehoſaphat : Mar ſo tha'n Tighearn ag ràdh ribh, Na biodh eagal no faitcheas oirbh air ſon an t-ſluaigh mhòir ſo ; oir cha leibhſe an cath, ach le Dia.

16 Am màireach rachaibh sìos nan aghaidh : feuch, *tha* iad a' teachd a nìos rathad uchdaich Shids, agus gheibh ſibh iad aig ceann an t-ſrutha, fa chomhair fàſaich Ierueil.

17 Cha *bhi* cath agaibh r'a chur an ſo ; a mhàin thigibh a làthair, ſeaſaibh, agus faicibh ſaorſadh an Tighearna maille ribh, a Iudah, agus a Ieruſalem : na biodh eagal no faitcheas oirbh ; am màireach rachaibh a mach nan aghaidh, agus *bithidh* an Tighearna maille ribh.

18 Agus chrom Iehoſaphat a cheann, le 'aghaidh gu làr ; agus thuit Iudah uile, agus luchd-àiteachaidh Ieruſalem, sìos am fianuis an Tighearna, a' deanamh aoraidh do'n Tighearna.

19 Agus dh'eirich na Lebhithich do chloinn nan Cohatach, agus do chloinn nan Corhach, ſuas a mholadh an Tighearna Dé Iſraeil le guth mòr, gu h-àrd.

20 Agus dh'éirich iad gu moch anns a' mhaduinn, agus *chaidh iad* a mach gu fàſach Thecoa : agus an uair *a bha* iad a' dol a mach, ſheas Iehoſaphat agus thubhairt e, Eiſdibh riumſa, a Iudah, agus a luchd-àiteachaidh Ieruſaleim ; Creidibh anns an Tighearna bhur Dia, agus daingnichear ſibh ; creidibh 'fhàidhean, agus ſoirbhichidh ſibh.

21 Agus an uair a thug e comhairle do'n t-ſluagh [e], dh'orduich e luchd-ſeinn do'n Tighearn, agus daoine a mholadh maiſe na naomhachd [f], an uair a thigeadh iad a mach roimh 'n armailt, agus a theireadh [g], Thugaibh buidheachas do'n Tighearn, oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

22 Agus an uair a thòiſich iad air ſeinn agus air moladh, chuir an Tighearna luchd feall-tholaich an aghaidh chloinn Amoin, agus Mhoaib, agus ſléibh Sheir, a thàinig an aghaidh Iudah, agus bhuaileadh iad :

23 Oir ſheas clann Amoin agus Mhoaib ſuas an aghaidh luchd-àiteachaidh ſléibh Sheir, chum *am* marbhadh agus *an* ſgrios gu tur ; agus an uair a chuir iad as do luchd-àiteachaidh Sheir, chuidich iad gach aon diubh gus a chéile a ſgrios.

24 Agus an uair a thàinig Iudah làimh ri tùr na faire anns an fhàſach, dh'amhairc iad air an t-ſluagh mhòr, agus feuch, *bha* iad nan corpaibh marbha air tuiteam gu talamh, agus cha deachaidh duine as diubh.

25 Agus thàinig Iehoſaphat agus a ſhluagh a thoirt leo an creiche ; agus fhuair iad nam meaſg ann am pailteas araon beartas maille ris na corpaibh marbha, agus ſeudan luachmhor [h] a thug iad dhiubh air an ſon féin, tuilleadh as a b'urrainn iad iomchar leo : agus bha iad tri laithean ann an cruinneachadh na creiche ; oir *bha i* mòr.

[d] *'nar n-airc.* [e] *chuir e 'chomhairle ris an t-ſluagh.* [f] *chum maiſe na naomhachd, ann am maiſe an ionaid naomha.* [g] *deireadh.* Eir. [h] *taitneach.*

26 Agus air a cheathramh là chruinnicheadh iad an cionn a chéile ann an gleann Bherachah, oir an ſin bheannaich iad an Tighearn: uime ſin thugadh mar ainm air an àite ſin gleann Bherachah, gus an la'n diugh.

27 An ſin phill ſir Iudah agus Ierusaleim uile, agus Iehoſaphat air an tanh, a dhol air an ais gu h-Ieruſalem le gairdeachas; oir thug an Tighearn orra gairdeachas a dheanamh os cionn an naimhde.

28 Agus thàinig iad gu h-Ieruſalem le ſaltairibh, agus le clàrſaichibh, agus le trompaidibh, a dh'ionnſuidh tighe an Tighearna.

29 Agus bha eagal Dé air uile rìoghachdaibh nan dùchanna *ſin*, an uair a chual iad gu'n do chog an Tighearna an aghaidh naimhdean Iſraeil.

30 Agus bha rìoghachd Iehoſaphat sàmhach; oir thug a Dhia fois dha air gach taobh.

31 Agus rìoghaich Iehoſaphat os cionn Iudah: cùig bliadhna deug thar fhichead do aois *bha e* 'nuair a thòiſich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e cùig bliadhna fichead ann an Ieruſalem: agus *b'e* ainm a mhàthar Aſubah, nighean Shilhi.

32 Agus ghluais e ann an ſlighe Aſa 'athar, agus cha do dhealaich e rithe, a' deanamh an *nì a bha* ceart ann an sùilibh an Tighearna.

33 Ach cha d'thugadh air falbh na h-àitean arda; oir fathaſt cha d'ulluich an ſluagh an cridhe air ſon Dhé an aithriche.

34 A nis a' chuid eile do ghnìomharaibh Iehoſaphait, an toiſeach agus mu dheireadh, feuch, *tha* iad ſcrìobhta ann am briathraibh Iehu mhic Hanani, a chuir e sìos ann an leabhar righrean Iſraeil [d].

35 Agus na dhéigh ſo rinn Iehoſaphat righ Iudah coimhcheangal [e] ri Ahaſiah righ Iſraeil, a bha olc na dheanadas.

36 Agus rinn e coimhcheangal ris longan a dheanamh a rachadh gu Tarſis; agus rinn iad na longan ann an Eſion-geber.

37 Ach rinn Elieſer, mac Dhodabhah o Mhareſah, fàiſtineachd an aghaidh Iehoſaphait, ag ràdh, A chionn gu'n d'rinn thu coimhcheangal ri Ahaſiah, bhris an Tighearna t'oibre. Agus bhriſeadh na longa, agus cha b'urrainn iad dol gu Tarſis.

CAIB. XXI.

AGUS choidil Iehoſaphat maille r'a aithrichibh, agus dh'adhlaiceadh e maille r'a aithrichibh ann am baile Dhaibhidh: agus rìoghaich Iehoram a mhac na àit.

2 Agus *bha* bràithrean aige-ſan, mic Iehoſaphait, Aſariah, agus Iehiel, agus Sechariah, agus Aſariah, agus Michael, agus Sephatiah: *b*'iad ſin uile mic Iehoſaphait, righ Iudah [f].

3 Agus thug an athair dhoibh iomadh tiodhlacadh airgid agus òir, agus nithe luachmhor, maille ri bailtibh daingnichte ann an Iudah; ach thug e an rìoghachd do Iehoram, a chionn gu'm *b'e* 'n ceud-ghin e.

4 Agus an uair a dh'éirich Iehoram ſuas gu rìoghachd 'athar, agus a dhaingnich ſe e féin, mharbh e a bhràithrean uile leis a' chlaidheamh, agus mar an ceudna *cuid* do uachdaranaibh Iſraeil.

5 Dà bhliadhna dheug thar fhichead a dh'aois *bha* Iehoram an uair a thòiſich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e ochd bliadhna ann an Ieruſalem.

6 Agus ghluais e ann an ſlighe righrean Iſraeil, mar a rinn tigh Ahaib; oir bha nighean Ahaib na mnaoi aige: agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna.

7 Gidheadh, cha b'àill leis an Tighearna tigh Dhaibhidh a ſgrios, air ſgàth a' choimhcheangail a rinn e ri Daibhidh, agus gu'n do gheall e ſolus a thabhairt da féin agus d'a mhacaibh gu bràth [g].

8 Na laithibh-ſan dh'éirich na h-Edomaich o *bhi* fuidh làimh Iudah [h], agus rinn iad righ os an cionn féin.

9 Agus

[d] *air am bheil iomradh ann an leabhar righrean Iſraeil.* [e] *chaidh Iehoſaphat righ Iudah ann an comh-chuideachd.* [f] *Iſraeil.* [g] *an còmhnuidh; gach là.* Eabh. [h] *rinn Edom aradh a mach an aghaidh Iudah.*

9 Agus chaidh Iehoram a mach le 'cheannardaibh, agus a charbadan uile maille ris: agus dh'éirich e ſan oidhche, agus bhuail e na h-Edomaich a thàinig mu'n cuairt air, agus ceannardan nan carbad.

10 Gidheadh, dh'éirich na h-Edomaich o *bhi* fuidh làimh Iudah gus an là'n diugh. Agus dh'éirich Libnah ſan àm cheudna o *bhi* fuidh a làimh, a chionn gu'n do thréig e 'n Tighearna Dia 'aithriche.

11 Mar an ceudna rinn e àitean arda ann an ſléibhtibh Iudah, agus thug e air luchd-àiteachaidh Ieruſaleim ſtrìopachas a dheanamh, agus tharruing [c] e Iudah *a dh'ionnſuidh ſin.*

12 Agus thàinig ſcrìobhadh d'a ionnſuidh o Eliah am fàidh, ag ràdh, Mar ſo tha'n Tighearna, Dia Dhaibhidh t'athar, ag ràdh, A chionn nach do ghluais thu ann an ſlighibh Iehoſaphait t'athar, no ann an ſlighibh Aſa righ Iudah,

13 Ach gu'n do ghluais thu ann an ſlighe righrean Iſraeil, agus gu'n d'thug thu air Iudah agus luchd-àiteachaidh Ieruſaleim ſtrìopachas a dheanamh, coſmhuil ri ſtrìopachas tighe Ahaib, agus mar an ceudna gu'n do mharbh thu do bhràithrean do thigh t'athar, a b'fhearr na thu féin:

14 Feuch, buailidh an Tighearna le plàigh [f] mhòir do ſhluagh, agus do chlann, agus do mhnài, agus do mhaoin uile.

15 Agus *bithidh* tu ann an tinneas mòr le eucail do mhionaich, gus an tuit do mhionach a mach leis an eucail, o la gu la.

16 Uime ſin bhroſnaich an Tighearn an aghaidh Iehoraim ſpiorad nam Philiſteach, agus nan Arabach, a *bha* làimh ris na h-Etiopaich.

17 Agus thàinig iad a nìos gu Iudah, agus bhris iad a ſteach innte, agus thug iad leo a' mhaoin uile a fhuaradh ann an tigh an righ, agus mar an ceudna a mhic agus a mhnài; air chor as nach d'fhàgadh mac aige ach Ahaſiah [g] a mhac a b'òige.

18 Agus na dhéigh ſo uile bhuail an Tighearn e na mhionach le h-eucail nach gabhadh leigheas.

19 Agus an déigh laithean àraidh, an ceann dà bhliadhna, thuit a mhionach a mach le 'eucail, agus fhuair e bàs le droch ghalaraibh; agus cha d'rinn a ſhluagh loſgadh air a ſhon coſmhuil ri loſgaidh 'aithriche.

20 Dà bhliadhna dheug thar fhichead a dh'aois bha e 'nuair a thòiſich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e ochd bliadhna ann an Ieruſalem, agus ſhiubhail e gun déidh ſam bith air; agus dh'adhlaic iad e ann am baile Dhaibhidh, ach cha b'ann an àitibh-adhlaic nan righ.

CAIB. XXII.

AGUS rinn luchd-àiteachaidh Ieruſaleim Ahaſiah a mhac a b'òige na righ na àit: oir mharbh a' bhuidheann a thàinig maille *ris* na h-Arabaich do'n champ na *mic* bu ſhine uile. Agus rìoghaich Ahaſiah mac Iehoraim, righ Iudah.

2 Dà bhliadhna thar fhichead [h] a dh'aois *bha* Ahaſiah 'nuair a thòiſich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e aon bhliadhna ann an Ieruſalem: agus *b'e* ainm a mhàthar Ataliah nighean Omri.

3 Ghluais eſan mar an ceudna ann an ſlighibh tighe Ahaib; oir b'i 'mhàthair a chomhairliche [i] a dheanamh uilc.

4 Air an aobhar ſin rinn e olc ann an ſùilibh an Tighearna, coſmhuil ri tigh Ahaib; oir b'iad ſin a chomhairlichean an déigh bàis 'athar, chum a ſgrios.

5 Ghluais e mar an ceudna a réir an comhairle, agus chaidh e maille ri Iehoram, mac Ahaib righ Iſraeil, a chogadh an aghaidh Haſaeil righ Shiria ann an Ramot-gilead: agus lot [j] na Sirianaich Ioram [k].

6 Agus phill e gu bhi air a leigheas ann an Ieſreel o na lotaibh [l] a thug iad dha ann an Ramah [m], an uair a chòmhraig e [n] 'n aghaidh Haſaeil righ Shiria. Agus chaidh Ahaſiah [o] mac Iehoraim,

e *choimhéignich.* f *buille.* g *Iehoahas.* h *Dà bhliadhna agus dà fhichead.* Faic. II. Righ. Caib. VIII. r. 26. i *chombairleach.* j *bhuail.* k *Iehoram.* l *a thaobh nan lot.* m *Ramot.* I. Righ. Caib. VIII. r. 29. n *chuir e cath.* o *Aſariah.*

Iehoraim, righ Iudah, sìos a dh'fhaicinn Ioraim mhic Ahaib ann an Ieſreel, a chionn gu'*n robh* e tinn.

7 Agus b'ann o Dhia bha ſgrios Ahaſiah, le 'theachd gu Ioram: oir an uair a thàinig e, chaidh e mach maille ri Iehoram an aghaidh Iehu mhic Nimſi, a dh'ung an Tighearn a ghearradh as tighe Ahaib.

8 Agus an uair a bha Iehu a' deanamh breitheanais air tigh Ahaib, agus a fhuair e uachdarain Iudah, agus mic bhràithrean Ahaſiah, a fhritheil do Ahaſiah, mharbh e iad.

9 Agus dh'iarr e Ahaſiah, agus ghlac iad e, agus e am folach ann an Samaria: agus thug iad e dh'ionnſuidh Iehu, agus mharbh iad e, agus dh'adhlaic iad e, a chionn, thubhairt iad, gur e mac Iehoſaphait e, a dh'iarr an Tighearna le 'uile chridhe. Agus cha *robh* e 'n comas do thigh Ahaſiah an rìoghachd a ghleidheadh ni b'fhaide.

10 Agus an uair a chunnaic Ataliah, màthair Ahaſiah, gu'n robh a mac marbh, dh'éirich i, agus ſgrios i uile ſhliochd rìoghail tighe Iudah.

11 Ach ghabh Iehoſabet [a], nighean an righ, Ioas mac Ahaſiah, agus ghoid i e a meaſg mhac an righ a mharbhadh, agus chuir i e féin agus a bhanaltrum ann an ſeòmar nan leapaiche. Mar ſin dh'fholaich Iehoſabet, nighean righ Iehoraim, bean Iehoiada an t-ſagairt e (oir b'i piuthar Ahaſiah i) o Ataliah, air chor as nach do mharbh i e.

12 Agus bha e maille riu am folach ann an tigh Dhé rè ſhè bliadhna; agus Ataliah a' rìoghachadh os cionn na tìre.

CAIB. XXIII.

AGUS anns an t-ſeachdamh bliadhna neartaich Iehoiada e féin, agus ghabh e na ceannardan cheud, Aſariah mac Ierohaim, agus Iſmael mac Iehohanain, agus Aſariah mac Obeid, agus Maaſiah mac Adaiah, agus Eliſaphat mac Shichri, a ſteach ann an coimhcheangal ris.

2 Agus chaidh iad mu'n cuairt ann an Iudah, agus chruinnich iad na Lebhitich a mach as uile bhailtibh Iudah, agus cinn aithrichean [b] Iſraeil, agus thàinig iad gu h-Ieruſalem.

3 Agus rinn an coimhthional uile coimhcheangal ris an righ ann an tigh Dhé: agus thubhairt e riu, Feuch, rìoghaichidh mac an righ, mar a thubhairt an Tighearna mu mhacaibh Dhaibhidh.

4 So an ni a ni ſibh: *Bithidh* an treas cuid dhibhſe a théid a ſteach air an t-ſàbaid, do na ſagairt agus do na Lebhitich, nan luchd-gleidhidh nan dorus.

5 Agus *bithidh* trian aig tigh an righ; agus trian aig geatadh na bunaite: agus *bithidh* an ſluagh uile ann an cùirtibh tighe an Tighearna.

6 Ach na dthigeadh a ſteach do thigh an Tighearna ach na ſagairt, agus iadſan do na Lebhitich a fhritheileas; théid iadſan a ſteach, oir *tha* iad naomha: ach coimheadaidh [c] an ſluagh uile faire an Tighearna.

7 Agus cuairtichidh na Lebhitich an righ air gach taobh, gach fear le 'airm na làimh; agus ge b'e neach a thig a ſteach do'n tigh, cuirear gu bàs e: ach bithibhſe maille ris an righ, 'nuair a thig e ſteach, agus an uair a théid e mach.

8 Agus rinn na Lebhitich, agus Iudah uile, a réir nan uile *nithe* a dh'àithn Iehoiada an ſagart, agus ghabh iad gach fear a dhaoine féin a bha gu teachd a ſteach air an t-ſàbaid, maille riu-ſan a bha gu dol a mach air an t-ſàbaid; oir cha do leig Iehoiada an ſagart air falbh na roinnean.

9 Agus thug Iehoiada an ſagart do na ceannardaibh-cheud ſleaghan, agus ſgiathan, agus targaidean, a *bh*'aig righ Daibhidh, a *bha* ann an tigh Dhé.

10 Agus chuir e an ſluagh uile, gach fear le 'ghath [d] na làimh, o thaobh deas an tighe gu ruig taobh clì an tighe, làimh ris an altair agus an tigh, mu'n cuairt air an righ.

11 Agus thug iad a mach mac an righ, agus chuir iad an crùn air, agus *thug iad dha* an fhianuis, agus rinn iad na righ e: agus dh'ung Ie-

a *Iehoſeba*. II. Righ. Caib. XI. r. 2. b *theaghlaichean*. c *gleidhidh*
d *le 'bhall-airm, le 'chlaidheamh*.

hoiada agus a mhic e, agus thubhairt
iad, Gu ma fada beo an righ.
12 Agus an uair a chual Ataliah
fuaim an t-ſluaigh a' ruith cuideachd,
agus a' moladh an righ, thàinig i
dh'ionnſuidh an t-ſluaigh, a ſteach do
thigh an Tighearna.
13 Agus dh'amhairc i, agus feuch,
ſheas an righ làimh r'a phoſt aig an
dol a ſteach, agus na h-uachdarain
agus na trompaidean làimh ris an
righ, agus rinn uile ſhluagh na tìre
gairdeachas, agus rinn iad fuaim le
trompaidibh, agus an luchd feinn le
h-innealaibh-ciuil, agus iadſan a bha
eòlach air moladh: agus reub Ata-
liah a h-eudach, agus thubhairt i,
Feall, feall.
14 An ſin dh'àithn Iehoiada an
ſagart do na ceannardaibh-cheud [a] a
chuireadh os cionn an t-ſlòigh, agus
thubhairt e riu, Thugaibh a mach i
an taobh a muigh do na ſreathaibh;
agus ge b'e neach a leanas i, marbhar
leis a' chlaidheamh e: oir thubhairt
an ſagart, Na cuiribh gu bàs i ann
an Tigh an Tighearna.
15 Agus thug iad comas d'i [b], a-
gus an uair a thàinig i gu dol a ſtigh
geataidh nan each aig tigh an righ,
mharbh iad an ſin i.
16 Agus rinn Iehoiada coimh-
cheangal eadar e féin agus an ſluagh
gu léir agus an righ, gu'm biodh iad
nan ſluagh aig an Tighearna.
17 Agus chaidh 'n ſluagh uile a
ſtigh do thigh Bhaail, agus leag iad
sìos e, agus bhris iad 'altairean agus a
dhealbhan gu tur, agus mharbh iad
Matan ſagart Bhaail fa chomhair nan
altair.
18 Agus ſhuidhich Iehoiada luchd-
riaghlaidh tighe an Tighearna le
làimh nan ſagart agus nan Lebhith-
each, a roinn Daibhidh ann an tigh
an Tighearna, chum ìobairtean-loiſgte
an Tighearna ìobradh, mar *a ta e*
ſcrìobhta ann an lagh Mhaois, le
gairdeachas agus le ſeinn, a réir or-
duigh [c] Dhaibhidh.
19 Agus ſhuidhich e na dorſairean
aig geataibh tighe an Tighearna,
chum nach rachadh neach air bith
a ſtigh, *a bha* neo-ghlan ann an ni air
bith.
20 Agus ghabh e na ceannardan-
cheud, agus na h-ard uaiſlean, agus
uachdarain an t-ſluaigh, agus uile
ſhluagh na tìre, agus thug iad a nuas
an righ o thigh an Tighearna; agus
thàinig iad troimh 'n gheatadh àrd
a ſteach do thigh an righ, agus
chuir iad an righ na ſhuidhe air righ-
chathair na rìoghachd.
21 Agus rinn uile ſhluagh na tìre
gairdeachas: agus bha'm baile sàmh-
ach, an déigh dhoibh Ataliah a
mharbhadh leis a' chlaidheamh.

CAIB. XXIV.

SEACHD bliadhna dh'aois *bha*
Ioas [d] an uair a thòiſich e air
rìoghachadh, agus rìoghaich e dà
fhichead bliadhna ann an Ieruſalem:
agus *b'e* ainm a mhàthar Sibia o
Bheerſeba.
2 Agus rinn Ioas an *ni a bha* ceart
ann an sùilibh an Tighearna rè uile
laithean Iehoiada an t-ſagairt.
3 Agus ghabh Iehoiada air a ſhon
dà mhnaoi, agus ghin e mic agus
nigheana.
4 Agus na dhéigh ſo bha e ann an
inntinn [e] Ioais tigh an Tighearn a
chàradh [f].
5 Agus chruinnich e ri chéile na
ſagairt agus na Lebhithich, agus
thubhairt e riu, Rachaibh a mach do
bhailtibh Iudah, agus cruinnichibh o
Iſrael uile airgiod a chàradh tighe
bhur Dé o bhliadhna gu bliadhna, a-
gus faicibh gu'n dean ſibh cabhag [g]
fa' ghnothuch. Gidheadh cha d'rinn
na Lebhithich cabhag.
6 Agus ghairm an righ Iehoiada
an t-ard-*ſhagart*, agus thubhairt e ris,
C'ar ſon nach d'iarr thu air na Le-
bhithich cìs Mhaois [h], oglaich an
Tighearna, a thoirt a ſteach o Iudah,
agus o Ieruſalem, agus [i] *o* choimh-
thional Iſraeil, air ſon pàilliuin na
fianuis?

7 Oir

a *thug Iehoiada an ſagart a mach na ceannardan-cheud.* Faic II. Righ. Caib. XI. r. 15. b *chuir iad làmh innte.* c *làimhe.* Eabh. d *Iehoas.* II. Righ. Caib. XII. r. 1. e *cridhe.* Eabh. f *a leaſachadh, ath-nuadhachadh.* g *deifir.* h *a' chìs a dh'àithn Maois bhi air a togail.* i *eadhon.*

7 Oir bhris mic na droch mhnà
Ataliah sìos tigh Dhé, agus mar an
ceudna uile nithe coisrigte [a] tighe an
Tighearna thug iad ſeachad [b] do
Bhaalim.
8 An ſin air àithne an righ rinn
iad ciſte, agus chuir iad i aig geat-
adh tighe an Tighearna air an taobh
a muigh.
9 Agus thug iad gairm air feadh
Iudah agus Ieruſaleim, cìs Mhaois,
òglaich Dhé, *a chuir e* air Iſrael anns
an fhàſach, a thoirt a ſteach do'n
Tighearna.
10 Agus rinn na h-uachdarain uile
agus an ſluagh uile gairdeachas, agus
thug iad leo, agus thilg iad anns a'
chiſte, gus an do lìonadh i [c].
11 Agus an uair a thugadh a'
chiſte ſteach a dh'ionnſuidh luchd-
riaghlaidh [d] an righ le làimh nan Le-
bhitheach, agus a chunnaic iad gu'n
robh mòran airgid *innte*, an ſin thàinig
ſcrìobhuich an righ agus fear-riaghl-
aidh an ard-ſhagairt, agus dh'fhal-
amhuich iad a' chiſte, agus ghabh
iad i, agus thug iad air a h-ais i d'a
h-àite féin. Mar ſin rinn iad o la gu
la, agus chruinnich iad airgiod ann
am pailteas.
12 Agus thug an righ agus Iehoi-
ada e dhoibhſan a rinn obair [e] ſeirbhis
tighe an Tighearna, agus thuaraſdal-
aich iad luchd-inaithidh *chlach* agus
ſaoir a chàradh tighe an Tighearna,
agus mar an ceudna luchd-oibre ann
an iarunn agus an umha a dheanamh
ſuas [f] tighe an Tighearna.
13 Agus dh'oibrich an luchd-oibre,
agus choimhlionadh an obair le'n
làimh; agus rinn iad ſuas tigh an
Tighearna co-cheart as a bha e roimhe,
agus dhaingnich iad e.
14 Agus an uair a chrìochnaich
iad *an obair*, thug iad na dh'fhàgadh
do'n airgiod an làthair an righ agus
Iehoiada, agus rinn iad ſoithichean
deth do thigh an Tighearna, ſoith-
ichean-frithealaidh nan ìobairt-loiſgte,
agus ſpàinean, agus ſoithichean oir a-
gus airgid: agus dh'ìobair iad ìobairt-
ean-loiſgte a ghnàth ann an tigh an
Tighearna, rè uile laithean Iehoiada.
15 Ach dh'fhàs Iehoiada ſean, a-
gus bha e làn do laithibh, agus fhuair
e bàs: ceud agus deich bliadhna
fichead a dh'aois *bha e* 'nuair a fhuair
e bàs.
16 Agus dh'adhlaic iad e ann am
baile Dhaibhidh maille ris na righ-
ribh, a chionn gu'n d'rinn e maith
ann an Iſraeil, araon [g] a thaobh Dhé
agus a thaobh a thighe.
17 Agus an déigh bàis Iehoiada,
thàinig uachdarain Iudah, agus rinn
iad ùmhlachd do'n righ. An ſin dh'éiſd
an righ riu.
18 Agus thréig iad tigh an Tigh-
earna Dé an aithriche, agus rinn iad
ſeirbhis do dhoireachaibh agus do
dhealbhaibh [h]: agus thàinig fearg air
Iudah agus Ieruſalem air ſon an ciont-
aidh.
19 Gidheadh chuir e fàidhean d'an
ionnſuidh, gu'n toirt air an ais a
dh'ionnſuidh an Tighearna, agus rinn
iad fianuis nan aghaidh, ach cha d'éiſd
iadſan riu.
20 Agus thàinig ſpiorad an Tigh-
earna air Sechariah mac Iehoiada an
t-ſagairt, agus ſheas e os cionn an
t-ſluaigh, agus thubhairt e riu, Mar
ſo tha Dia ag ràdh, Car ſon a *tha* ſibh
a' briſeadh aitheantan an Tighearna?
uime ſin cha ſoirbhich ſibh. A chionn
gu'n do thréig ſibhſe an Tighearn,
tréigidh eſan ſibhſe.
21 Agus chaidh iad ann an comh-
bhoinn na aghaidh, agus chlach iad
le clachaibh e air àithne an righ, ann
an cùirt tighe an Tighearna:
22 Oir cha do chuimhnich Ioas an
righ an caoimhneas a rinn Iehoiada
'athair ris, ach mharbh e a mhac:
agus an uair a bha eſan a' faghail a'
bhàis, thubhairt e, Chi an Tighearn,
agus agraidh [i] ſe.
23 Agus aig ceann [j] na bliadhna,
thàinig armailt Shiria nìos na gh-
aidh; agus thàinig iad gu Iudah agus

 gu

[a] *naomha.* [b] *rinn iad.* Eabh. [c] *gus an do chuir iad crìoch air a'* ghnothuch. [d] *luchd-amhairc thairis, luchd-ghnothuichean; feòmair-ghnothuichean.* [e] *air an robh cùram oibre.* Faic. II. Righ. Caib. XII. r. 11. [f] *a chàradh.* [g] *an dà chuid.* [h] *iodholaibh.* [i] *iarraidh, dìolaidh.* [j] *teachd mu'n cuairt.* Eabh.

gu h-Ierufalem, agus fgrios iad uile uachdarain an t-fluaigh o mheafg an t-fluaigh, agus chuir iad an creach uile dh'ionnfuidh righ Dhamafcuis.

24 Oir le beagan dhaoine thàinig armailt Shiria, agus thug an Tighearna thairis nan làimh fluagh ro-mhòr, a chionn gu'n do thréig iad an Tighearna Dia an aithriche: uime fin rinn iad breitheanas an aghaidh Ioais.

25 Agus an uair a dh'imich iad uaith, a chionn gu'n d'fhàg iad e ann an eucailibh mòra, rinn a fheirbhifich féin ceannairc na aghaidh air fon fola mhic[a] Iehoiada an t-fagairt, agus mharbh iad e air a leabaidh, agus an uair a fhuair e bàs, dh'adhlaic iad e ann am baile Dhaibhidh, ach cha d'adhlaic iad e ann an àitibh-adhlaic nan righ.

26 Agus *is* iad fo iadfan a rinn ceannairc na aghaidh: Sabad mac Shimeait na Ban-amonaich, agus Iehofabad mac Shimrit na Bana-mhoabaich, agus a mhic.

27 A nis *a thaobh* meud na cìs a thog e[b], agus mar a rinn e fuas tigh Dhé, feuch, *tha* iad fcrìobhta ann an eachdraidh leabhar nan righ. Agus rìoghaich Amafiah a mhac na àit.

CAIB. XXV.

CUIG bliadhna fichead a dh'aois bha Amafiah 'nuair a thòifich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e naoi bliadhna fichead ann an Ierufalem: agus *b'e* ainm a mhàthar Iehoadan o Ierufalem.

2 Agus rinn e an *ni a bha* ceart ann an sùilibh an Tighearna, ach cha b'ann le cridhe iomlan.

3 A nis an uair a dhaingnicheadh an rìoghachd dha, mharbh e a fheirbhifich a mharbh an righ 'athair.

4 Ach an clann cha do mharbh e, a réir mar a ta e fcrìobhta anns an lagh ann an leabhar Mhaois, far an d'àithn an Tighearn, ag ràdh, Cha chuirear na h-aithriche gu bàs air fon nam mac, agus cha chuirear na mic gu bàs air fon nan aithriche; ach cuirear gach duine gu bàs air fon a pheacaidh féin.

5 Agus chruinnich Amafiah Iudah r'a chéile, agus rinn e iad, a réir tighe *an* aithriche, nan ceannardaibh mhìltean agus nan ceannardaibh cheud, ann an Iudah agus ann am Beniamin uile: agus dh'àireamh e iad o fhichead bliadhna dh'aois agus os a chionn, agus fhuair e ann diubh tri cheud mìle *fear*-taghta, a rachadh a mach gu cath, a laimhficheadh fleagh agus fgiath.

6 Thuarafdalaich e mar an ceudna a h-Ifrael ceud mìle fear comafach gaifgeil[c] air cheud tàlann airgid.

7 Ach thàinig duine le Dia d'a ionnfuidh, ag ràdh, A righ, na rachadh armailt Ifraeil maille riut; oir cha *'n'eil* an Tighearna maille ri h-Ifrael, *eadhon maille ri* cloinn Ephraim uile.

8 Ach ma's àill leat imeachd, dean, bi làidir air fon a' chatha: bheir Dia ort tuiteam roimh an nàmhaid; oir tha Dia comafach air còghnadh a dheanamh, agus air tilgeadh sìos.

9 Agus thubhairt Amafiah ris an duine le Dia, Ach ciod a ni finn mu'n cheud tàlann a thug mi do armailt Ifraeil? Agus fhreagair an duine le Dia, Tha'n Tighearna comafach air mòran tuilleadh as fin a thabhairt duitfe.

10 An fin fgaoil Amafiah iadfan do'n armailt a thàinig d'a ionnfuidh a h-Ephraim, a chum gu'n rachadh iad d'an àite féin. Agus las am fearg gu mòr an aghaidh Iudah, agus phill iad d'an àite féin ann an corruich mhòir.

11 Agus neartaich Amafiah e féin, agus thug e mach a fhluagh, agus chaidh e gu gleann an t-falainn, agus bhuail e do chloinn Sheir deich mìle.

12 Agus deich mìle *dhiubh* ghlac clann Iudah beo, agus thug iad leo iad gu mullach carraige, agus thilg iad sìos iad o mhullach na carraige, agus bhrifeadh iad gu tur.

13 Ach

[a] *mhac-làidir.* [b] *meud na h-eallaich a chuireadh air.* [c] *gaifgeach*

13 Ach bhris fir[a] na h-armailte a chuir Amaſiah air an ais, a chum nach rachadh iad maille ris gu cath, a ſtigh air bailtibh Iudah, o Shamaria eadhon gu ruig Bet-horon, agus bhuail iad tri mìle dhiubh, agus thug iad leo creach mhòr.

14 A nis an déigh do Amaſiah teachd o àr nan Edomach, thug e leis dèe chloinn Sheir, agus chuir e ſuas iad dha féin mar dheibh, agus chrom ſe e féin ſìos rompa, agus loiſg e tùis dhoibh.

15 Uime ſin las fearg an Tighearna an aghaidh Amaſiah, agus chuir e d'a ionnſuidh fàidh, a thubhairt ris, C'ar ſon a dh'iarr thu'n déigh dhiathan an t-ſluaigh, nach b'urrainn an ſluagh féin a ſhaoradh as do làimh-ſa?

16 Agus an uair a bha e a' labhairt ris, fhreagair eſan e, An d'rinneadh thuſa a'd' chomhairliche[b] do'n righ? leig dhiot[c]; c'ar ſon a bhiodh tu air do bhualadh? Agus leig am fàidh dheth, agus thubhairt e, Tha fios agam gu'n do ſhònraich[d] Dia air do ſgrios, a chionn gu'n d'rinn thu ſo, agus nach d'éiſd thu ri m' chomhairle-ſa.

17 An ſin ghabh Amaſiah righ Iudah comhairle, agus chuir e *teachdairean* a dh'ionnſuidh Ioais, mhic Iehoahais, mhic Iehu righ Iſraeil, ag ràdh, Thig, faiceamaid aghaidh a chéile.

18 Agus chuir Ioas righ Iſraeil *teachdairean* gu Amaſiah righ Iudah, ag ràdh, Chuir am foghannan a *bha* ann an Lebanon *teachdaire* dh'ionnſuidh an t-ſeudair[e] a *bha* ann an Lebanon, ag ràdh, Thoir do nighean do m' mhac-ſa, na mnaoi: agus chaidh fiadh-bheathach feachad a *bha* ann an Lebanon, agus ſhaltair e ſìos am foghannan.

19 Thubhairt thu, Feuch, bhuail mi[f] Edom, agus thog do chridhe ſuas thu chum uaill a dheanamh: fan a nis aig do thigh: c'ar ſon a bhiodh làmh agad ann an ni chum t'aimhleis, air chor as gu'n tuiteadh tu féin agus Iudah maille riut?

20 Ach cha d'éiſd Amaſiah *ris*; oir *bha* e o Dhia an toirt thairis na làimh, a chionn gu'n d'iarr iad an déigh dhiathan Edoim.

21 Uime ſin chaidh Ioas righ Iſraeil ſuas, agus chunnaic e féin agus Amaſiah righ Iudah aghaidh a chéile aig Bet-ſemes, a *bhuineas* do Iudah.

22 Agus bhuaileadh Iudah roimh Iſrael, agus theich iad gach fear a dh'ionnſuidh a bhùtha.

23 Agus ghlac Ioas righ Iſraeil Amaſiah righ Iudah mac Ioais, mhic Ahaſiah[g], aig Bet-ſemes, agus thug ſe e gu h-Ieruſalem, agus bhris e ſìos balladh Ieruſaleim, o gheatadh Ephraim gu geatadh na h-oiſne, ceithir cheud làmh-choille.

24 Agus [ghabh e] an t-òr agus an t-airgiod uile, agus na ſoithichean uile a fhuaradh ann an tigh Dhé aig Obed-edom, agus ionmhaſan tighe an righ, agus braighde-gill, agus phill e gu Samaria.

25 Agus mhair Amaſiah mac Ioais, righ Iudah, beò an déigh bàis Ioais mhic Iehoahais righ Iſraeil, cùig bliadhna deug.

26 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Amaſiah, an toiſeach agus mu dheireadh, feuch, nach *'eil* iad ſcriobhta ann an leabhar righrean Iudah agus Iſraeil?

27 Ach o'n àm anns an do thionndaidh Amaſiah o leantuinn an Tighearna, rinn iad ceannairc[h] na aghaidh ann an Ieruſaleim, agus theich e gu Lachis: ach chuir iad *daoine* na dhéigh gu Lachis, agus mharbh iad e an ſin.

28 Agus thug iad leo air eachaibh e, agus dh'adhlaic iad e maille r'a aithrichibh ann am baile Dhaibhidh[i].

CAIB. XXVI.

AGUS ghabh ſluagh Iudah uile Udſiah[j], agus e ſe bliadhna deug a dh'aois, agus rinn iad e na righ an àit 'athar Amaſiah.

a *mic.* Eabh. b *chomhairleach.* c *bi d'thoſd.* d *ſhuidhich.*
e *a' cheudair.* f *thu.* g *Iehoahais.* h *coinnbhealg.* i *Iudah.*
j *Aſarias.* II Righ. Caib. XIV. 1 21.

2 Thog eſan Elat [a], agus dh'aiſig
ſe e do Iudah, an déigh do'n righ co-
dal maille r'a aithrichibh.
3 Sè bliadhna deug a dh'aois *bha*
Udſiah 'nuair a thòiſich e air rìogh-
achadh, agus rìoghaich e dà bhliadh-
na dheug agus dà fhichead ann an
Ieruſalem: agus *b'e* ainm a mhàthar
Iecoliah o h-Ieruſalem.
4 Agus rinn e an *ni a bha* ceart
ann an sùilibh an Tighearna, a réir
gach *ni* a rinn Amaſiah 'athair.
5 Agus dh'iarr e Dia ann an
laithibh Shechariah, a theagaiſg e
ann an eagal [b] Dé: agus fhad ſa
dh'iarr e an Tighearna, thug Dia air
foirbheachadh.
6 Agus chaidh e mach, agus chog
e 'n aghaidh nam Philiſteach, agus
bhris e sìos balladh Ghait, agus ball-
adh Iabneth, agus balladh Aſdoid;
agus thog e bailtean ann an Aſdod [c],
agus am meaſg nam Philiſteach.
7 Agus chuidich Dia leis an agh-
aidh nam Philiſteach, agus an agh-
aidh nan Arabach a bha nan còmh-
nuidh ann an Garbaal, agus nan A-
monach [d].
8 Agus thug na h-Amonaich
tiodhlacan do Udſiah, agus chaidh
'ainm a mach gu ruig dol a ſteach na
h-Eiphit, oir dh'fhàs e ro chumhachd-
ach.
9 Agus thog Udſiah tùir ann an
Ieruſalem aig geatadh na h-oiſne, a-
gus aig geatadh a' ghlinne, agus aig
an oiſinn [e], agus dhaingnich e iad.
10 Agus thog e tùir anns an fhàſ-
ach, agus chlaghaich e mòran thobar;
oir bha mòran ſpréidh aige, agus anns
an *tìr* ìoſail agus anns a' chòmhnard
treabhaichean, agus fìon-lioſadairean [f]
anns na ſléibhtibh agus ann an Car-
mel, a chionn gu'm bu toigh leis
tuathanachd.
11 Bha aig Udſiah mar an ceudna
armailt *do dhaoinibh* a dheanadh cog-
adh, a rachadh a mach gu cath nam
buidhnibh, a réir uibhir an àireimh [g]
le làimh Ieieil an ſcrìobhuiche, agus
Mhaaſeiah an fhir-riaghlaidh, fuidh
làimh Hananiah *aon* do uachdaran-
aibh an righ.
12 *B'e* àireamh iomlan phrìomh [h]
aithriche nan daoine comaſach gaiſg-
eil, dà mhìle agus sè ceud.
13 Agus fuidh 'n làimh-ſan *bha*
armailt, tri cheud mìle agus ſeachd
mìle agus cùig ceud, a dheanadh cog-
adh le treun neart, a chuideachadh
leis an righ an aghaidh an nàmhaid.
14 Agus dheaſaich Udſiah air an
ſon, *eadhon* do'n fheachd uile, targ-
aidean, agus ſleaghan, agus clogaid-
ean, agus lùirichean, agus boghanna,
agus cranna-tabhuill *a thilgeadh*
chlach.
15 Agus rinn e ann an Ieruſalem
innil-chogaidh a dhealbhadh le daoin-
ibh ealanta [i] gu bhi air na tùraibh a-
gus air oiſnibh *nam ballacha*, a thilg-
eadh ſhaighead agus chlach mòr leo:
agus chaidh 'ainm a mach an céin, oir
b'iongantach an dòigh air an do chuid-
icheadh leis gus an d'fhàs e cumh-
achdach.
16 Ach an uair a dh'fhàs e cumh-
achdach, thogadh a chridhe ſuas a
chum aimhleis, agus pheacaich e an
aghaidh an Tighearna a Dhé: oir
chaidh e ſteach do theampull an
Tighearna, a loſgadh tùiſe air altair
na tùiſe.
17 Agus chaidh Aſariah an ſagart
a ſteach na dhéigh, agus maille ris
ceithir fichead ſagart leis an Tigh-
earna, fir threuna.
18 Agus ſheas iad an aghaidh Udſiah
an righ, agus thubhairt iad ris, Cha
bhuin e dhuitſe, Udſiah, tùis a loſg-
adh do'n Tighearna, ach do na ſa-
gartaibh, mic Aaroin, a tha air an
naomhachadh a loſgadh tùiſe: imich
a mach as an ionad-naomha, oir
pheacaich thu, agus cha *bhi e* dhuit
a chum urraim o'n Tighearna Dia.
19 Agus bha fearg air Udſiah, a-
gus tùiſeir aige na làimh a loſgadh
tùiſe: agus an uair a bha fearg air
ris na ſagartaibh, air ball dh'éirich
luibhre ſuas ann an clàr 'eudain am
fianuis nan ſagart ann an tigh an
Tighearna

a *Elot,* b *a bha tuigſeach ann an ſeallannaibh.* c *mu thimchioll Aſdoid.* d *nam Mehunach.* e *tionndadh* a' bhallaidh. f *fìon-ghàradairean.* g *an cunntais, 'am meas.* h *cheann.* Eabh. i *innleachdacha.*

Tighearna os cionn [a] altaire na tùiſe.
20 Agus dh'amhairc Aſariah an
t-ard ſhagart, agus na ſagartan uile
air, agus ſeuch, *bha* luibhre air ann
an clàr 'eudain, agus ghreas iad a
mach as ſin e; agus rinn e féin mar
an ceudna cabhag gu dol a mach, a
chionn gu'n do bhuail an Tighearn e.
21 Agus bha Udſiah an righ na
lobhar gu là a bhàis, agus ghabh e
còmhnuidh ann an tigh air leth mar
ſhear a bha na lobhar, an uair a
dhruideadh a mach e a tigh [b] an
Tighearna: agus *bha* Iotam a mhac
os cionn tighe an righ, a' toirt breth
air ſluagh na tìre.
22 Agus a' chuid eile do ghnìomh-
araibh Udſiah, an toiſeach agus mu
dheireadh, ſcrìobh Iſaiah am fàidh
mac Amois.
23 Agus choidil Udſiah maille r'a
aithrichibh, agus dh'adhlaic iad e
maille r'a aithrichibh ann am magh
àit-adhlacaidh nan righ: oir thubh-
airt iad, *Tha* e na lobhar. Agus
rìoghaich Iotam a mhac na àit.

CAIB. XXVII.

CUIG bliadhna fichead a dh'aois
bha Iotam an uair a thòiſich e
air rìoghachadh, agus rìoghaich e sè
bliadhna deug ann an Ieruſalem: a-
gus *b'e* ainm a mhàthar Ieruſa, nigh-
ean Shadoic.
2 Agus rinn e an *nì a bha* ceart
ann an sùilibh an Tighearna a réir
nan uile *nithe* a rinn Udſiah 'athair;
gidheadh cha deachaidh e ſteach do
theampull an Tighearna, agus *bha*'n
ſluagh fathaſt truaillidh.
3 Thog e geatadh ard tighe an
Tighearna, agus air balladh Opheil
thog e mòran.
4 Agus thog e bailtean ann an
ſléibhtibh Iudah, agus anns na coill-
tibh thog e caiſtealan agus tùir.
5 Agus chog e ri righ chloinn A-
moin, agus thug e buaidh orra. A-
gus thug clann Amoin dha air a'
bhliadhna ſin féin ceud tàlann airgid,
agus deich mìle tomhas [c] cruithneachd,
agus deich mìle *tombas* eorna. So
thug clann Amoin ſeachad da, araon
air an dara bliadhna, agus *air* an
treas.
6 Agus dh'fhàs Iotam cumhachd-
ach, a chionn gu'n do dheaſaich e a
ſhlighean am fianuis an Tighearn a
Dhé.
7 Agus a' chuid eile do ghnìomh-
araibh Iotaim, agus a chоganna uile,
agus a ſhlighean, ſeuch, *tha* iad
ſcrìobhta ann an leabhar righrean Iſ-
raeil agus Iudah.
8 Cùig bliadhna fichead a dh'aois
bha e 'nuair a thòiſich e air rìoghach-
adh, agus rìoghaich e sè bliadhna
deug ann an Ieruſalem.
9 Agus choidil Iotam maille r'a
aithrichibh, agus dh'adhlaic iad e ann
am baile Dhaibhidh: agus rìoghaich
Ahas a mhac na àit.

CAIB. XXVIII.

FICHEAD bliadhna [d] dh'aois *bha*
Ahas an uair a thoiſich e air
rìoghachadh, agus rìoghaich e sè
bliadhna deug ann an Ieruſalem: a-
gus cha d'rinn e an *nì a bha* ceart
ann an sùilibh an Tighearna, mar *a
rinn* Daibhidh 'athair.
2 Ach dh'imich e ann an ſlighibh
righrean Iſraeil, agus mar an ceudna
rinn e dealbhan leaghta do Bhaalim.
3 Agus loiſg e tùis ann an gleann
Bhen-hinoim [e], agus loiſg e a chlann
anns an teine a réir ghràineileachd
nan cinneach, a thilg an Tighearna
mach roimh chloinn Iſraeil.
4 Agus dh'ìobair e agus loiſg e
tùis anns na h-àitibh arda, agus air
na cnoic, agus fuidh gach craoibh
uaine.
5 Uime ſin thug an Tighearn a
Dhia thairis e an làimh righ nan Si-
rianach [f], agus bhuail iad e, agus
thug iad leo mòran diubh nam braigh-
dibh, agus thug ſiad *iad* gu Damaſ-
cus: agus thugadh mar an ceudna
thairis e an làimh righ Iſraeil, a bhuail
e le h-àr mòr.
6 Agus mharbh Pecah mac Rema-
liah ann an Iudah ceud agus fichead
mìle ann an aon là, ſir threuna [g] uile;
a chionn gu'n do thréig iad an Tigh-
earna Dia an aithriche.
7 Agus mharbh Sichri, duine treun
do

a *o bhobh.* b *oir ghearradh as e o thigh.* c *cor.* Eabh.
d *Cùig bliadhna fichead.* e *gleann mhic Hinoim.* f *righ Shiria.*
g *mic neirt.*

do Ephraim, Maaſeiah mac an righ,
agus Africam uachdaran an tighe,
agus Elcanah a b'fhaigſe do'n righ.
8 Agus thug clann Iſraeil leo
nam braighdibh d'am bràithribh dà
chend mìle bean, mac agus nighean,
agus thog iad mar an ceudna creach
mhòr uatha, agus thug iad a' chreach
gu Samaria.
9 Ach bha fàidh leis an Tighearn
an ſin d'am b'ainm Oded, agus chaidh
e mach am fianuis an t-ſlòigh a thài-
nig gu Samaria, agus thubhairt e
riu, Feuch, a chionn gu robh fearg
air an Tighearna Dia bhur n-aith-
riche ri Iudah, thug e thairis iad ann
bhur làimh-ſa, agus mharbh ſibh iad
le buirbe *a* ràinig ſuas gu nèamh.
10 Agus a nis *tha* ſibh a' cur
roimhibh clann Iudah agus Ierufaleim
a chur fuidhibh mar thràillibh agus
mar bhan-tràillibh agaibh. Nach
'eil idir agaibhſe, *eadhon* agaibhſe
peacanna an aghaidh an Tighearna
bhur Dé?
11 A nis ma ta éiſdibh riumſa, a-
gus thugaibh air an ais na braigh-
dean a thug ſibh leibh ann am braigh-
deanas o bhur bràithribh; oir tha
fearg laiſte an Tighearna ribh.
12 An ſin dh'éirich daoine *àraidh*
do cheannaibh [a] chloinn Ephraim, A-
fariah mac Iohanain, Berechiah mac
Mheſhillemoit, agus Iehefciah mac Sha-
luim, agus Amaſa mac Hadlai, ſuas
nan aghaidh-ſan a thàinig o'n chog-
adh,
13 Agus thubhairt iad riu, Cha
dthoir ſibh na braighdean a ſteach
an ſo: oir *bhiodh ſin* na chionta an
aghaidh an Tighearna oirnne. *Tha*
ſibhſe a' cuir roimhibh tuilleadh a chur
r'ar peacannaibh, agus r'ar cionta,
'nuair a ta ar cionta *cheana* mòr agus
fearg laiſte ri h-Iſrael.
14 An ſin dh'fhàg na daoine a bha
fo 'n armaibh [b] na braighdean agus
a' chreach am fianuis nan uachdaran
agus a' choimhchruinnich uile.
15 Agus dh'éirich na daoine a
ghairmeadh air an ainm, agus ghabh
iad na braighdean, agus dh'eudaich
iad leis a' chreich iadſan uile a bha
lomnochd dhiubh, agus an uair a
chuir iad eudach agus brògan orra,
thug iad orra itheadh agus òl, agus
dh'ung ſiad iad, agus chuir iad air
aſalaibh iadſan uile a bha anmhunn
diubh, agus thug ſiad iad gu Iericho,
baile nan craobh pailme, a dh'ionn-
ſuidh am bràithrean; agus phill iad
gu Samaria.
16 San àm ſin chuir righ Ahas *fios*
a dh'ionnſuidh righ [c] Aſiria, e chuid-
eachadh leis.
17 Oir thàinig na h-Edomaich a
rìs, agus bhuail iad Iudah, agus thug
iad leo braighdean.
18 Thug na Philiſtich mar an
ceudna ionnſuidh [d] air bailtibh a'
chòmhnaird, agus air an taobh deas
do Iudah, agus ghlac iad Bet-ſemes,
agus Aialon, agus Gederot, agus Socho
le 'bhailtibh beaga, agus Timnah le
'bhailtibh beaga, agus Gimſa le 'bhail-
tibh beaga; agus ghabh iad còmh-
nuidh ann ſin.
19 Oir rinn an Tighearn Iudah
ìoſal air ſon Ahais righ Iudah [e], a
chionn gu'n d'rinn e Iudah lomnochd,
agus gu'n d'rinn e cionta mòr an agh-
aidh an Tighearna.
20 Uime ſin thàinig Tilgat-pilneſer
righ Aſiria d'a ionnſuidh, agus ſhàr-
aich [f], ach cha do neartaich ſe e.
21 Oir ghabh Ahas cuibhrionn a
tigh an Tighearna, agus a tigh an
righ, agus o na h-uachdaranaibh, a-
gus thug e *ſin* do righ Aſiria; ach
cha do chuidich e leis.
22 Agus an àm a theanntachd rinn
e fathaſt tuilleadh ciontaidh an agh-
aidh an Tighearna, an righ ſo féin
Ahas.
23 Oir dh'ìobair e do dhéibh Dha-
maſcuis a bhuail e, agus thubhairt e,
A chionn gu'n cuidich dee righrean
Shiria leo, ìobraidh miſe dhoibh a
chum gu'n cuidich iad leamſa: ach
is ann a bha iad nan aobhar ſgrios
dha féin, agus do Iſrael uile.
24 Agus chruinnich Ahas ſoith-
ichean tighe Dhé, agus ghearr e
nam mìribh ſoithichean tighe Dhé,
agus dhruid e dorſan tighe an Tigh-
earna. Agus rinn e dha féin altair-
ean

a *do phrìomh dhaoinibh, ard uaiſlibh.* b *na daoine armaichte.*
c *righrean.* Faic. II. Righ. Caib. XVI. r. 7. d *Bhris na Philiſtich a ſtigh.*
e *Iſrael.* f *theannaich, chuir e na éiginn.*

ean anns gach cearn do h-Ierusalem.
25 Agus anns gach baile fa leth do
Iudah rinn e àitean arda, chum tùis
a losgadh do dhéibh coimheach, agus
bhrosnaich e gu fearg an Tighearna
Dia 'aithriche.
26 Agus a' chuid eile d'a ghnìomh-
araibh agus d'a shlighibh uile, an
toiseach agus mu dheireadh, feuch,
tha iad sgriobhte ann an leabhar righ-
rean Iudah agus Israeil.
27 Agus choidil Ahas maille r'a
aithrichibh, agus dh'adhlaic iad e
anns a' bhaile, ann an Ierusalem;
a cha d'thug iad e do àitibh-adhlaic
righrean Israeil: agus rìoghaich He-
seciah a mhac na àit.

CAIB. XXIX.

THOISICH Heseciah air rìogh-
achadh 'nuair a bha e cùig
bliadhna fichead a dh'aois, agus rìogh-
aich e naoi bliadhna fichead ann an
Ierusalem: agus *b'e* ainm a mhàthar
Abiah[a], nighean Shechariah.
2 Agus rinn e an *nì a bha* ceart
ann an sùilibh an Tighearna, a réir
nan uile *nithe* a rinn Daibhidh 'ath-
air.
3 Anns a' cheud bhliadhna d'a rìogh-
achadh, air a' cheud mhìos, dh'fhos-
gail e dorsan tighe an Tighearna, a-
gus chàirich e iad.
4 Agus thug e stigh na sagairt a-
gus na Lebhithich, agus chruinnich e
iad do'n t-sràid an ear.
5 Agus thubhairt e riu, Eisdibh
rium, a Lebhitheacha; a nis naomh-
aichibh sibh féin, agus naomhaichibh
tigh an Tighearna Dé bhur n-aith-
riche, agus thugaibh a mach an sal-
char as an *ionad* naomha:
6 Oir pheacaich ar n-aithriche, a-
gus rinn iad an *nì a bha* olc ann an
sùilibh an Tighearna ar Dé, agus
thréig iad e, agus thionndaidh iad an
aghaidhean o phàilliun an Tighearna,
agus chuir iad cùl ris.
7 Mar an ceudna dhruid iad dor-
san an sgàth-thighe, agus chuir iad
as na lòchrain, agus cha do loisg iad
tùis, agus cha d'thug iad ìobairtean-
loisgte suas anns an *ionad* naomha, do
Dhia Israeil.
8 Uime sin bha fearg an Tighear-
na ri Iudah agus ri h-Ierusalem, agus
thug e thairis iad do thuairgne[b], do
uamhann[c], agus do sgeig, mar a chì
sibh le'r sùilibh.
9 Oir feuch, thuit ar n-aithriche
leis a' chlaidheamh, agus *tha* ar mic,
agus ar nigheana, agus ar mnài ann
am braighdeanas air son so.
10 A nis *tha e* ann am chridhe
coimhcheangal a dheanamh ris an
Tighearna Dia Israeil, a chum gu'n
tionndaidh 'fhearg laiste uainn.
11 Mo mhic, na bithibh a nis
dearmadach; oir thagh an Tighearna
sibh gu seasamh na làthair a dhean-
amh seirbhis da, agus gu bhi a' frith-
ealadh dha agus a' losgadh tùise.
12 An sin dh'éirich na Lebhithich,
Mahat mac Amasai, agus Ioel mac
Asariah, do mhacaibh nan Cohatach:
agus do mhacaibh Mherari, Cis mac
Abdi, agus Asariah mac Iahaleleil:
agus do na Gersonaich, Ioas mac Shi-
mah, agus Eden mac Ioah:
13 Agus do mhacaibh Elisaphain,
Simri agus Iehiel; agus do mhac-
aibh Asaiph, Sechariah agus Mata-
niah:
14 Agus do mhacaibh Hemain,
Iehiel agus Simei: agus do mhacaibh
Iedutuin, Semaiah agus Udsiel.
15 Agus chruinnich iad am bràith-
rean, agus naomhaich siad iad féin,
agus thàinig iad a réir àithne an rìgh
ann am briathraibh an Tighearna, a
ghlanadh tighe an Tighearna.
16 Agus chaidh na sagairt do'n
chuid a b'fhaide steach do thigh an
Tighearna g'a ghlanadh, agus thug
iad a mach gach salchar a fhuair iad
ann an teampull an Tighearna, gu
cùirt tighe an Tighearna. Agus thog
na Lebhithich leo e, gu 'thoirt a mach
gu sruth Chidroin.
17 A nis thòisich iad air a' cheud
la do'n cheud mhìos air naomhach-
adh[d], agus air an ochdamh la do'n
mhìos thàinig iad gu sgàth-thigh an
Tighearna, agus naomhaich iad tigh
an Tighearna ann an ochd laithibh,
agus air an t-seathabh la deug do'n
cheud mhìos, chrìochnaich iad *an o-
bair*.

18 An

a *Abi*. II. Righ. Caib. XVIII. r. 2. b *theinn, ambluadh*. c *iongantas*.
d *glanadh*.

18. An sin chaidh iad a steach a dh'ionnsuidh Heseciah an righ, agus thubhairt iad, Ghlan sinn tigh an Tighearna uile, agus altair na h-iobairt-loisgte maille r'a soithichibh uile, agus bord an arain thaisbeanta maille r'a shoithichibh uile.

19 Agus na soithiche sin uile a chuir righ Ahas, an uair a rioghaich e, air falbh na eusaontas, dheasaich sinne agus naomhaich sinn, agus feuch, *tha* iad fa chomhair altair an Tighearna.

20 An sin dh'éirich Heseciah an righ gu moch, agus chruinnich e uachdarain a' bhaile, agus chaidh e suas do thigh an Tighearna.

21 Agus thug iad leo seachd tairbh òga, agus seachd reitheacha, agus seachd uain, agus seachd buic-gaibhre mar iobairt-pheacaidh air son na rioghachd, agus air son an *ionaid* naomha, agus air son Iudah: agus dh'àithn e do na sagartaibh, mic Aaroin, *an* iobradh air altair an Tighearna.

22 Uime sin mharbh iadsan na tairbh, agus ghabh na sagairt an fhuil, agus chrath iad *i* air an altair: mharbh iad mar an ceudna na reitheachan, agus chrath iad an fhuil air an altair: mharbh iad cuideachd na h-uain, agus chrath iad an fhuil air an altair.

23 Agus thug iad leo na buic-gaibhre air son na h-iobairt-pheacaidh an làthair an righ agus a' choimhthionail, agus chuir iad an lamhan orra:

24 Agus mharbh na sagairt iad, agus chrath iad am fuil [a] air an altair chum réite dheanamh air son Israeil uile: oir dh'àithn an righ an iobairt-loisgte agus an iobairt-pheacaidh air son Israeil uile.

25 Agus chuir e na Lebhithich ann an tigh an Tighearna le ciombalaibh, le saltairibh, agus le clàrsaichibh, a réir àithne Dhaibhidh, agus Ghaid fhir-sheallaidh an righ, agus Natain an fhàidh: oir *b'i sin* àithne an Tighearna le làimh 'fhàidhean.

26 Agus, sheas na Lebhithich le h-innealaibh Dhaibhidh, agus na sagairt leis na trompaidibh.

27 Agus dh'àithn Heseciah an iobairt-loisgte iobradh air an altair: agus an uair a thòisich an iobairt-loisgte, thòisich *mar an ceudna* laoidh an Tighearna leis na trompaidibh, agus le h-innealaibh Dhaibhidh righ Israeil.

28 Agus rinn an coimhthional uile aoradh, agus sheinn an luchd-seinn, agus sheid na trompadairean: *mhair* so uile gus an do chrìochnaicheadh an iobairt-loisgte.

29 Agus an uair a chuir iad crìoch air iobradh, chrom an righ agus iadsan uile a bha maille ris iad féin [b], agus rinn iad aoradh.

30 Agus dh'àithn Heseciah an righ agus na h-uachdarain do na Lebhithich gu moladh iad an Tighearn am briathraibh Dhaibhidh, agus Asaiph an fhir-sheallaidh: agus mhol iad le subhachas, agus chrom iad an cinn, agus rinn iad aoradh.

31 An sin fhreagair Heseciah, agus thubhairt e, A nis choisrig sibh sibh féin do'n Tighearna: thigibh am fagus, agus thugaibh leibh iobairtean, agus tabhartais-buidheachais do thigh an Tighearna. Agus thug an coimhthional a steach iobairtean, agus tabhartais-buidheachais, agus iadsan uile a bha toileach nan cridhe, tabhartais-loisgte.

32 Agus b'e àireamh nan tabhartas-loisgte a thug an coimhthional leo, tri fichead agus deich tairbh òga, ceud reithe, dà cheud uan: iad sin uile chum iobairt-loisgte do'n Tighearna.

33 Agus na nithe coisrigte, sè ceud bò, agus tri mìle caora.

34 Ach bha na sagairt tearc, agus cha b'urrainn iad na tabhartais-loisgte uile fhionnadh: uime sin chuidich am bràithre na Lebhithich leo gus an do chrìochnaicheadh an obair, agus gus an do naomhaich na sagairt iad féin: oir *bha* na Lebhithich ni bu deise [c] nan cridhe chum iad féin a naomhachadh na na sagairt.

35 Agus

[a] *rinn iad réite le'm fuil.* [b] *iad féin air an glùinibh.* [c] *ni bu dìriche, ionraice.*

35 Agus mar an ceudna *bha* na
tabhartais-loisgte am pailteas, maille
ri saill nan tabhartas-sìth agus nan
tabhartas-dibhe, chum na h-iobairt-
loisgte. Agus dheasaicheadh[a] seir-
bhis tighe an Tighearna.

36 Agus rinn Heseciah agus an
sluagh uile gairdeachas, a chionn
gu'n do dheasaich Dia air son an
t-sluaigh: oir rinneadh an ni gu
grad.

CAIB. XXX.

AGUS chuir Heseciah *fios* gu h-Is-
rael uile agus gu Iudah, agus
mar an ceudna sgrìobh e litrichean
gu h-Ephraim agus gu Manaseh, iad
a theachd gu tigh an Tighearna ann
an Ierusalem, a chumail na càisge
do'n Tighearna Dia Israeil.

2 Agus ghabh an righ comhairle,
agus 'uachdarain, agus an coimh-
thional uile ann an Ierusalem, a'
chàisg a chumail air an dara mìos.

3 Oir cha b'urrainn iad a cumail
san àm sin, a chionn nach do naomh-
aich na sagairt iad féin gu leòr, agus
nach robh an sluagh air cruinneach-
adh gu h-Ierusalem.

4 Agus thaitinn an ni ris an righ,
agus ris a' choimhthional uile.

5 Agus shuidhich iad reachd,
gairm a thabhairt air feadh Israeil
uile o Bheer-seba eadhon gu Dan,
iad a theachd a chumail na càisge
do'n Tighearna Dia Israeil ann an
Ierusalem; oir cha do chum mòran
i[b] mar a bha e sgrìobhta.

6 Agus chaidh na gillean-ruithe le
litrichibh o'n righ agus o 'uachdaran-
aibh air feadh Israeil uile agus Iudah,
agus a réir àithne an righ, ag ràdh,
A chlann Israeil, pillibh a dh'ionn-
suidh an Tighearna Dé Abrahaim,
Isaaic, agus Israeil, agus pillidh esan
a dh'ionnsuidh an fhuighill dibh a
chaidh as o làimh righrean Asiria.

7 Agus na bithibh cosmhuil ri'r
n-aithrichibh, agus cosmhuil ri'r
bràithribh, a pheacaich an aghaidh
an Tighearna Dé an aithriche, agus
thug esan thairis iad gu léir-sgrios,
mar a chi sibh.

8 A nis na bithibhse cruaidh-
mhuineileach cosmhuil ri'r n-aith-
richibh: thugaibh sibh féin thairis
do'n Tighearna, agus rachaibh a
steach d'a ionad naomha, a naomh-
aich e gu bràth; agus deanaibh seir-
bhis do'n Tighearna bhur Dia, a chum
as gu tionndaidh lasan 'fheirge air
falbh uaibh.

9 Oir ma philleas sibh a dh'ionn-
suidh an Tighearna, [gheibh] bhur
bràithrean agus bhur clann iochd
nam fianuis-san a thug leo am braigh-
deanas iad, air chor as gu pill iad a
dh'ionnsuidh na tìre so: oir gràsmhor
agus tròcaireach *tha'n* Tighearna
bhur Dia, agus cha tionndaidh e a
ghnùis air falbh uaibh, ma philleas
sibh d'a ionnsuidh.

10 Agus chaidh na gillean-ruithe
thairis o bhaile gu baile, air feadh
tìre Ephraim agus Mhanaseh, eadhon
gu ruig Sebulun: ach bha iad a' fan-
oid orra, agus a' deanamh ball-mag-
aidh dhiubh.

11 Gidheadh, dh'irioslaich daoine
àraidh do Aser, agus *do* Mhanaseh,
agus do Shebulun iad féin, agus thài-
nig iad gu h-Ierusalem.

12 Mar an ceudna ann an Iudah
bha làmh Dhé a thoirt aon chridhe
dhoibh, a dheanamh àithne an righ
agus nan uachdaran, a réir focail an
Tighearna.

13 Agus chruinnich ann an Ieru-
salem mòran sluaigh, a chumail féill
an arain neo-ghoirtichte anns an da-
ra mìos, coimhchruinneachadh ro-
mhòr.

14 Agus dh'éirich iad, agus thug
iad air falbh na h-altairean a *bha* ann
an Ierusalem, agus na h-altairean
uile air son tùise thug iad air falbh,
agus thilg siad iad ann an sruth Chid-
roin.

15 Agus mharbh iad a' chàisg air
a' cheathramh *la* deug do'n dara
mìos, agus bha nàir air na sagairt a-
gus air na Lebhithich, agus naomh-
aich siad iad féin, agus thug iad a
steach iobairtean-loisgte do thigh an
Tighearna.

16 Agus

a *shuidhicheadh, chuireadh an ordugh.* b *cha do chum iad i* rè ùine *fhada.*

16 Agus ſheas iad nan àit a réir an riaghailte[a], a réir lagha Mhaois òglaich Dhé; agus chrath na ſagairt an fhuil *a ghabh iad* o làimh nan Lebhitheach.

17 Oir *bha* mòran anns a' choimhthional nach robh air an naomhachadh: uime ſin bha cùram marbhaidh na càiſge air na Lebhithich, air ſon gach neach nach *robh* glan, a chum *an* naomhachadh do'n Tighearn.

18 Oir cha do ghlan mòran do'n t-ſluagh, mòran do Ephraim, agus *do* Mhanaſeh, *do* Iſachar, agus *do* Shebulun iad féin; gidheadh, dh'ith iad a' chàiſg, cha b'ann mar *a ta e* ſcrìobhta.

19 Ach rinn Heſeciah urnuigh air an ſon, ag ràdh, Gu dthugadh an Tighearna maith maitheanas do gach aon, a dheaſaich a chridhe a dh'iarraidh an Tighearna Dé[b] 'aithriche, ge nach '*eil e glan* a réir glanaidh an *ionaid* naomha.

20 Agus dh'éiſd an Tighearna ri Heſeciah, agus leighis e an ſluagh.

21 Agus chum clann Iſraeil a bha làthair ann an Ierùſalem féill an arain neo-ghoirtichte ſeachd laithean le mòr ghairdeachas: agus mhol na Lebhithich agus na ſagairt an Tighearn o la gu la, *a' ſeinn* le h-innealaibh ſuaimneach do'n Tighearna.

22 Agus labhair Heſeciah gu caoimhneil[c] ris na Lebhithich uile, a theagaiſg eòlas maith[d] an Tighearna: agus dh'ith[e] iad *air* an fhéill tè ſheachd laithean ag ìobradh ìobairte-sìth, agus a' cliùthachadh an Tighearna Dé an aithriche.

23 Agus ghabh an coimhthional uile comhairle ſeachd laithean eile a chumail: agus chum iad ſeachd laithean *eile* le h-aoìbhneas.

24 Oir thug Heſeciah righ Iudah ſuas do'n choimhthional mìle tarbh òg, agus ſeachd mìle caora; agus thug na h-uachdarain ſuas do'n choimhthional mìle tarbh òg, agus deich mìle caora: agus naomhaich mòran ſhagart iad féin.

25 Agus rinn coimhthional Iudah uile gairdeachas, agus na ſagairt, agus na Lebhithich, agus an coimhthional uile a thàinig a h-Iſrael, agus na coigrich a thàinig a tìr Iſraeil, agus a bha chòmhnuidh ann an Iudah.

26 Mar ſin bha mòr aoìbhneas ann an Ieruſalem; oir o laithibh Sholaimh, mhic Dhaibhidh, righ Iſraeil, cha *robh* a leithid ann an Ieruſalem.

27 An ſin dh'éirich na ſagairt agus na Lebhithich, agus bheannaich iad an ſluagh: agus chuala [Dia] an guth, agus thàinig an urnuigh ſuas d'a àite-còmhnuidh naomha-ſan, do nèamh.

CAIB. XXXI.

AGUS an uair a chrìochnaicheadh ſo uile, chaidh Iſrael uile a *bha* làthair a mach do bhailtibh Iudah, agus bhris iad na dealbhan, agus ghearr iad sìos na doireachan, agus thilg iad sìos na h-ionadan arda agus na h-altairean as Iudah uile agus *a* Beniamin, agus ann an Ephraim agus Manaſeh, gus an do ſgrios iad gu tur *iad*. An ſin phill clann Iſraeil uile, gach duine a dh'ionnſuidh a ſheilbhe féin, d'am bailtibh féin.

2 Agus ſhuidhich Heſeciah roinnean nan ſagart agus nan Lebhitheach a réir an roinnean, gach duine a réir a ſheirbhis féin, na ſagairt agus na Lebhithich air ſon nan ìobairt-loiſgte, agus air ſon nan ìobairt-ſhìth, a fhrithealadh, agus a thabhairt buidheachais, agus a chliùthachadh ann an geatachaibh chaimp an Tighearna:

3 Cuibhrionn an righ mar an ceudna d'a mhaoin, air ſon nan ìobairtloiſgte, air ſon ìobairte-loiſgte na maidne agus an fheaſgair, agus ìobairte-loiſgte nan sàbaid, agus nan gealach nomha, agus nam féill ſuidhichte, mar *a ta e* ſcrìobhta ann an lagh an Tighearna.

4 Dh'àithn e cuideachd do'n t-ſluagh a bha chòmhnuidh ann an Ieruſalem, gu'n dthugadh iad ſeachad cuibhrionn nan ſagart agus nan Lebhitheach, chum gu'm biodh iad

air

a *am modha*. b *Dhé, an Tighearna Dé*. c *rìn cridhe*. Eabh.
d *a bha tuigſinn eòlais mhaith*. e *choimhlion, chum*.

air an daingneachadh ann an lagh an Tighearna.

5 Agus co-luath as a thàinig an àithne mach, thug clann Iſraeil ſeachad gu pailt ceud thoradh an arbhair, an fhìona, agus na h-oladh [a], agus na meala, agus uile fhàis [b] an fhearainn; agus deachamh nan uile *nithe* thug iad aſtigh ann am pailteas.

6 Agus *a thaobh* chloinn Iſraeil agus Iudah a bha chòmhnuidh ann am bailtibh Iudah, thug iadſan mar an ceudna ſtigh deachamh a' bhuair agus nan caorach, agus deachamh nan nithe naomha *a bha* air an naomhachadh do'n Tighearn an Dia, agus rinn iad mòran chruach *diubh*.

7 Anns an treas mìos thòiſich iad air bunaitean nan cruach a leagadh, agus anns an t-ſeachdamh mìos chrìochnaich ſiad iad.

8 Agus thàinig Heſeciah agus na h-uachdarain, agus chunnaic iad na cruachan, agus bheannaich iad an Tighearn agus a ſhluagh Iſrael.

9 Agus dh'fhioſraich Heſeciah do na ſagairt agus na Lebhithich mu thimchioll nan cruach.

10 Agus fhreagair Aſariah an t-ard ſhagart do thigh Shadoic e, agus thubhairt e, O'n a thòiſich iad air na tabhartais a thoirt a ſteach do thigh an Tighearna, dh'ith ſinn gus an do ſhàſuicheadh ſinn, agus dh'fhàg ſinn pailteas: oir bheannaich an Tighearn a ſhluagh, agus dh'fhàgadh am pailteas mòr ſo.

11 An ſin dh'àithn Heſeciah ſeomraichean [c] ulluchadh ann an tigh an Tighearna; agus dh'ulluich ſiad *iad*.

12 Agus thug iad a ſtigh na tabhartais, agus an deachamh, agus na *nithe* naomhaichte gu fìrinneach; agus os an cionn *bha* Cononiah an Lebhitheach na riaghlair, agus Simei a bhràthair ſan àit a b'fhaigſe.

13 Agus *bha* Iehiel, agus Aſariah, agus Nahat, agus Aſahel, agus Ierimot, agus Ioſabad, agus Eliel, agus Iſmahiah, agus Mahat, agus Benaiah, nan luchd-amhairc thairis fuidh làimh Chononiah, agus Shimei a bhràthar, air àithne Heſeciah an righ, agus Aſariah uachdarain tighe Dhé.

14 Agus *bha* Core mac Imnah an Lebhitheach, an dorſair a làimh na h-aird an ear, os cionn ſhaor thiodhlacadh Dhé, chum gu'n dthugadh e ſeachad tabhartais an Tighearna, agus na nithe ro-naomha:

15 Agus làimh ris-ſan Eden, agus Beniamin [d], agus Ieſua, agus Semaiah, agus Amariah, agus Secaniah, ann am bailtibh nan ſagart *nan* cùram [e], a thabhairt d'am bràithribh nan roinnibh [f], mar do'n mhòr mar ſin do'n bheag.

16 A thuilleadh air àireamh nam ſirionnach a réir an ginealach o thri bliadhna dh'aois agus os a chionn, do gach neach a théid a ſteach do thigh an Tighearna, a chuibhrionn lathail, air ſon an ſeirbhis nan cùram, a réir an roinnean;

17 Araon do àireamh nan ſagart a réir an ginealacha, a réir tighe an aithriche, agus nan Lebhitheach o fhichead bliadhna dh'aois agus os a chionn, nan cùram, a réir an roinnean:

18 Agus do àireamh an cloinne bige uile a réir an ginealacha, am ban, agus am mac, agus an nigheana, do'n choimhthional uile; oir nan cùram naomhaich ſiad iad féin gu mòr:

19 Agus do mhacaibh Aaroin na ſagartaibh ann am fearann comh-roinn am bailtean, anns gach baile fa leth na daoine a dh'ainmicheadh air an ainm, a thabhairt *an* cuibhrionna do gach ſirionnach am meaſg nan ſagart, agus dhoibhſan uile a bha air an àireamh a réir an ginealacha am meaſg nan Lebhitheach.

20 Agus rinn Heſeciah mar ſo air feadh Iudah uile: agus rinn e an *ni ſin a bha* maith, agus ceart, agus fìrinneach ann am fianuis an Tighearna a Dhé.

21 Agus a thaobh gach oibre air an do thòiſich e ann an ſeirbhis tighe Dhé, agus anns an lagh, agus anns na h-àitheantaibh, a dh'iarraidh a Dhé,

a *an olaidh*. b *chinnis*. c *àitean-taſgaidh*. d *Miniamin*. e *nan dreuchd ſhuidhichte*. f *nan ſealaibh*.

Dhé, rinn e i le 'uile chridhe, agus shoirbhich e.

CAIB. XXXII.

AN déigh nan nithe ſo agus an uair a bha iad air an ſuidheachadh, thàinig Senacherib righ Aſiria, agus chaidh e ſteach do Iudah, agus champaich e an aghaidh nam bailte daingnichte, agus ſhònraich [a] e air an coſnadh dha féin.

2 Agus an uair a chunnaic Heſeciah gu'n d'thàinig Senacherib, agus gu'n robh e cur roimhe cogadh an aghaidh Ieruſaleim,

3 Chuir e 'chomhairle r'a uachdaranaibh agus r'a dhaoinibh cumhachdacha, uiſgeacha nan tobar a *bha*'n taobh a muigh do'n bhaile a dhùnadh ſuas; agus chuidich iad leis.

4 Agus chruinnich ſluagh mòr, agus dhùin iad ſuas na tobraichean uile, agus na ſruthain a bha ruith ann am meadhon na tìre, ag ràdh, Car ſon a thigeadh righrean Aſiria, agus a gheibheadh iad mòran uiſge?

5 Agus dhaingnich ſe e féin, agus thog e am balladh uile a chaidh bhriſeadh, agus chuir e ſuas tùir air [b], agus balladh eile air an taobh a muigh, agus dhaingnich e Milo baile Dhaibhidh, agus rinn e gathanna agus targaidean ann am pailteas.

6 Agus chuir e ceannardan cogaidh os cionn an t-ſluaigh, agus chruinnich e iad d'a ionnſuidh ann an ſràid geataidh a' bhaile, agus labhair e r'an cridhe, ag ràdh,

7 Bithibh làidir agus bithibh miſneachail, na biodh eagal agus na biodh faitcheas oirbh roimh righ Aſiria, no roimh 'n t-ſluagh mhòr ſo uile a *tha* maille ris; oir is mò *a ta* leinne na leis-ſan.

8 Leis-ſan *tha* gairdean feòla, ach leinne *tha*'n Tighearn ar Dia, a chuideachadh leinn, agus a chur ar catha. Agus dh'earb an ſluagh a briathraibh Heſeciah righ Iudah.

9 Na dhéigh ſo chuir Senacherib righ Aſiria a ſheirbhiſich gu h-Ieruſalem, (oir *bha* e féin aig Lachis, agus a neart uile maille ris,) a dh'ionnſuidh Heſeciah righ Iudah, agus a dh'ionnſuidh Iudah uile, a *bha* aig Ieruſalem, ag ràdh,

10 Mar ſo tha Senacherib righ Aſiria ag ràdh, Cia as *a tha* ſibh ag earbſadh, agus ſibh a' fantuinn 'nar daingneach ann an Ieruſalem?

11 Nach 'eil Heſeciah 'gar comhairleachadh ſibh féin a thoirt thairis gu bàs le gorta agus le tart, ag ràdh, Saoraidh an Tighearn ar Dia ſinn a làimh righ Aſiria?

12 Nach do chuir Heſeciah ſo féin air falbh 'àitean arda, agus 'altairean, agus nach d'àithn e do Iudah agus do Ieruſalem, ag ràdh, Fa chomhair aon altarach ſleuchdaidh ſibh, agus loiſgidh ſibh tùis oirre?

13 Nach 'eil fhios agaibh ciod a rinn miſe agus m'aithriche ri uile ſhluagh nan dùchanna? an robh dée chinneach nan tìr ſin comaſach air an tìr féin a ſhaoradh as mo làimhſa?

14 Cò am meaſg uile dhée nan cinneach ſin a ſgrios m'aithriche-ſa gu tur, a b'urrainn a ſhluagh a ſhaoradh as mo làimh-ſa, gu'm biodh bhur Dia-ſa comaſach air bhur ſaoradh as mo làimh?

15 A nis mata na mealladh Heſeciah ſibh, agus na comhairlicheadh [c] e ſibh mar ſo, agus na creidibh e; oir cha robh dia air bith cinnich no rìoghachd ſam bith comaſach air a ſhluagh a ſhaoradh as mo làimh-ſa, agus as làimh m'aithriche: nach lugha gu mòr na ſin is urrainn bhur Dia-ſa bhur ſaoradh as mo làimh?

16 Agus labhair a ſheirbhiſich tuilleadh as ſo an aghaidh an Tighearna Dé, agus an aghaidh a ſheirbhiſich Heſeciah.

17 Scrìobh e mar an ceudna litrichean a chàineadh an Tighearna Dé Iſraeil, agus a labhairt na aghaidh, ag ràdh, Mar nach do ſhaor dée chinneach nan dùchanna an ſluagh as mo làimh-ſa, mar ſin cha ſaor Dia Heſeciah a ſhluagh as mo làimh.

18 Ghlaodh iad cuideachd le guth ard ſa' chànain Iudhaich ri ſluagh Ieruſalem

a *ſbaoil; thubhairt*. Eabh.
c *na h-aomadh*.

b *chuir e ſuas e gu ruig na tùir*

Ieruſalem a *bha* air a' bhalladh, gu eagal agus buaireas a chur orra, chum gu'n glacadh iad am baile.

19 Agus labhair iad an aghaidh Dhé Ieruſaleim, mar an aghaidh dhée ſhluaigh na talmhainn, oibre làmha dhaoine.

20 Agus rinn Heſeciah an righ, agus am fàigh Iſaiah mac Amois, urnuigh air ſon ſo, agus ghlaodh iad gu nèamh.

21 Agus chuir an Tighearn aingeal uaith, a ſgrios na daoine comaſach gaiſgeil uile, agus na ceannardan, agus na h-uachdarain ann an camp righ Aſiria: uime ſin phill e le nàire gnùiſe d'a thìr féin. Agus an uair a chaidh e ſteach do thigh a dhé, mharbh iadſan a thàinig a mach as innibh féin e 'n ſin leis a' chlaidheamh.

22 Mar ſo ſhaor an Tighearna Heſeciah agus luchd-àiteachaidh Ieruſaleim as làimh Shenacherib righ Aſiria, agus as làimh nan uile, agus ſtiuir e iad air gach taobh.

23 Agus thug mòran tabhartais a dh'ionnſuidh an Tighearna gu h-Ieruſalem, agus tiodhlacan a dh'ionnſuidh Heſeciah righ Iudah: agus dh'ardaicheadh e ann an sùilibh nan uile chinneach na dhéigh ſin.

24 Anns na laithibh ſin bha Heſeciah tinn gu bàs, agus rinn e urnuigh ris an Tighearn: agus dh'éiſd [a] eſan ris, agus thug e comhara dha.

25 Ach cha d'ìoc Heſeciah a rìs a réir mar a bhuilicheadh air, oir thogadh a chridhe ſuas: agus bha fearg ris, agus ri Iudah agus Ieruſalem.

26 Gidheadh dh'irioſlaich Heſeciah e féin air ſon uabhair a chridhe (*araon* e féin agus luchd-àiteachaidh Ieruſaleim:) uime ſin cha d'thàinig fearg an Tighearna orra ann an laithibh Heſeciah.

27 Agus bha aig Heſeciah beartas agus urram ro-mhòr: agus rinn e dha féin ionmhaſan do airgiod, agus do òr, agus do chlachaibh luachmhor, agus do ſpìoſraidh, agus do thargaidibh, agus do gach ſeud [b] taitneach;

28 Agus tighean-taſgaidh air ſon toraidh [c] an arbhair, agus an fhìona, agus na h-oladh; agus tighean air ſon gach gné ainmhidh, agus mainnirean air ſon nan treud.

29 Agus rinn e dha féin bailtean: agus *bha* ſealbh chaorach agus buar *aige* ann am pailteas, oir thug Dia dha maoin ro-mhòr.

30 Chuir Heſeciah ſo féin mar an ceudna ſtad air ſruth uiſge uachdarach Ghihoin, agus thug e sìos dìreach e a làimh na h-airde 'n iar do bhaile Dhaibhibh. Agus ſhoirbhich Heſeciah na oibribh uile.

31 Gidheadh, a thaobh theachdairean uachdarana Bhabiloin, a chuireadh d'a ionnſuidh a dh'fhioſrachadh mu'n iongantas a bha ſan tìr, thréig Dia e g'a dhearbhadh, chum gu'm biodh fios aige air gach *ni a bha* na chridhe.

32 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Heſeciah, agus a mhaitheas, feuch, *tha* iad ſcrìobhta ann am fàiſtineachd [d] Iſaiah an fhàidh, mhic Amois, agus ann an leabhar righrean Iudah agus Iſraeil.

33 Agus choidil Heſeciah maille r'a aithrichibh, agus dh'adhlaic iad e ann an ard àit-adhlacaidh mhac Dhaibhidh: agus thug Iudah uile agus luchd-àiteachaidh Ieruſaleim urram dha 'nuair a fhuair e bàs. Agus rìoghaich Manaſeh a mhac na àit.

CAIB. XXXIII.

DA bhliadhna dheug a dh'aois *bha* Manaſeh 'nuair a thòiſich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e cùig bliadhna deug agus dà fhichead ann an Ieruſalem.

2 Ach rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna, a réir ghraineileachd nan cinneach, a thilg an Tighearn a mach roimh chloinn Iſraeil.

3 Oir thog e ſuas a rìs na h-àitean arda a ſgrios Heſeciah 'athair, agus chuir e ſuas altairean do Bhaalim, agus rinn e doireachan, agus ſhleuchd e do uile ſhlòigh [e] nan nèamh, agus rinn e ſeirbhis doibh.

4 Agus thog e altairean ann an tigh

a *labhair.* Eabh. b *uidheam, inneal.* c *ſàir, cinnis.* d *ſealladh.* Eabh. e *armaik*

tigh an Tighearna, mu'n dubhairt an
Tighearna, Ann an Ieruſalem bithidh
m'ainm-ſa gu bràth.
5 Agus thog e altairean do uile
ſhlòigh nan nèamh ann an dà chùirt
tighe an Tighearna.
6 Agus thug e air a chloinn dol
troimh 'n teine ann an gleann mhic
Hinoim; agus thug e fa'near amanna,
agus ghnàthaich e geaſachd[a] agus
druidheachd, agus chuir e air chois
leannain-ſìth agus luchd-fioſachd:
dh'oibrich e mòr aingidheachd ann
an sùilibh an Tighearna, g'a bhroſ-
nachadh gu feirg.
7 Agus chuir e dealbh ſnaidhte,
iodhol[b] a rinn e, ann an tigh Dhé,
mu'n dubhairt Dia ri Daibhidh, a-
gus ri Solamh a mhac, Anns an tigh
ſo, agus ann an Ieruſalem, a thagh
mi as uile threubhaibh Iſraeil, cuiridh
mi m'ainm gu bràth.
8 Agus cha charuich mi cos Iſraeil
ni's mò as an fhearann a dh'orduich
mi do bhur n-aithrichibh; ma bheir
iad a mhàin an aire gu'n dean iad
gach *ni* a dh'àithn mi dhoibh, a réir
an lagha uile, agus nan reachd, agus
nan riaghailt le làimh Mhaois.
9 Mar ſin thug Manaſeh air Iudah
agus luchd-àiteachaidh Ieruſaleim dol
air ſeacharan, gu tuilleadh uilc a
dheanamh na *rinn* na cinnich, a
ſgrios an Tighearna roimh chloinn
Iſraeil.
10 Agus labhair an Tighearna ri
Manaſeh, agus r'a ſhluagh; ach cha'n
éiſdeadh iad.
11 Uime ſin thug an Tighearn or-
ra ceannarda feachd righ Aſiria; a-
gus ghlac iad Manaſeh ann an dròigh-
nich, agus cheangail iad e le ſlabh-
raidhibh, agus thug iad leo e gu Ba-
bilon.
12 Agus an uair a bha e ann an
amhghar dh'iarr e an Tighearn a
Dhia, agus dh'irioſlaich ſé e féin gu
mòr am fianuis Dhé 'aithriche.
13 Agus rinn e urnuigh ris, agus
rinneadh eſan réidh ris, agus dh'éiſd
e r'a athchuinge, agus thug e air ais
e gu h-Ieruſalem d'a rìoghachd. A-
gus dh'aithnich Manaſeh gur e'n
Tighearn a's Dia ann.
14 Agus na dhéigh ſo thog e ball-
adh an taobh a muigh do bhaile
Dhaibhidh, air an taobh an iar do
Ghihon anns a' ghleann, eadhon gu
ruig dol a ſtigh geataidh an éiſg, a-
gus thug e mu'n cuairt air Ophel e,
agus thog e ſuas e gu ro-ard; agus
chuir e ceannardan cogaidh[c] ann
an uile bhailtibh daingnichte Iudah.
15 Agus chuir e air falbh na dée
coimheach agus an iodhol a tigh an
Tighearna, agus na h-altairean uile a
thog e ann an ſliabh tighe an Tigh-
earna, agus ann an Ieruſalem, agus
thilg e mach as a' bhaile *iad*.
16 Agus chàirich e altair an Tigh-
earna, agus dh'ìobair e oirre ìobairt-
ean sìthe agus buidheachais, agus
dh'àithn e do Iudah ſeirbhis a dhean-
amh do'n Tighearna Dia Iſraeil.
17 Gidheadh, dh'iobair an ſluagh
fathaſt anns na h-àitibh arda, *ach* a
mhàin do'n Tighearna an Dia.
18 Agus a' chuid eile do ghniomh-
araibh Mhanaſeh, agus 'urnuigh r'a
Dhia, agus briathra nam fear-ſeal-
laidh a labhair ris ann an ainm an
Tighearna Dé Iſraeil, feuch, *tha* iad
ſcriobhta ann an leabhar righrean Iſ-
raeil.
19 'Urnuigh mar an ceudna, agus
mar a dh'éiſdeadh ris, agus a pheac-
adh uile, agus 'euſaontas, agus na
h-àitean anns an do thog e ionadan
arda, agus an do chuir e ſuas doir-
eachan agus dealbhan ſnaidhte mu'n
d'irioſlaicheadh e, feuch, *tha* iad
ſcriobhta am meaſg bhriathar nam
fear-ſeallaidh.
20 Agus choidil Manaſeh maille
r'a aithrichibh, agus dh'adhlaic iad e
na thigh féin: agus rìoghaich a mhac
Amon na àit.
21 Da bhliadhna fichead a dh'aois
bha Amon an uair a thòiſich e air
rìoghachadh, agus rìoghaich e dà
bhliadhna ann an Ieruſalem.
22 Agus rinn e olc ann an sùilibh
an Tighearna, mar a rinn Manaſeh
'athair: oir dh'iobair Amon do na
dealbhaibh

a *geaſadaireachd.* b *coſamhlachd; ſemel.* Eabh. c *ceann-ardan na h-armailte.*

dealbhaibh ſnaidhte uile, a rinn Manaſeh 'athair, agus rinn e ſeirbhis doibh.

23 Agus cha d'irioſlaich ſe e féin am fianuis an Tighearna, mar a dh'irioſlaich Manaſeh 'athair e féin; ach mheudaich Amon euſaontas.

24 Agus rinn a ſheirbhiſich ceannairc na aghaidh, agus mharbh iad e na thigh féin.

25 Ach mharbh ſluagh na tìre iadſan uile a rinn ceannairc an aghaidh righ Amoin, agus rinn ſluagh na tìre Ioſiah a mhac na righ na àit.

CAIB. XXXIV.

OCHD bliadhna dh'aois *bha* Ioſiah 'nuair a thòiſich e air rioghachadh, agus rìoghaich e ann an Ieruſalem aon bhliadhna deug thar fhichead.

2 Agus rinn e an *ni a bha* ceart ann an sùilibh an Tighearna, agus dh'imich e ann an ſlighibh Dhaibhidh 'athar, agus cha do chlaon e dh'ionnſuidh na làimhe deiſe no na làimhe clìthe.

3 Oir anns an ochdamh bliadhna d'a rìoghachadh, 'nuair a bha e fathaſt òg, thòiſich e air Dia Dhaibhidh 'athar iarraidh, agus anns an dara bliadhna deug thòiſich e air Iudah agus Ieruſalem a ghlanadh o na h-àitibh arda, agus na doireachaibh, agus na dealbhaibh ſnaidhte, agus na dealbhaibh leaghta.

4 Agus bhris iad sìos altairean Bhaalim na fhianuis, agus na dealbhan grianach a *bha* gu h-ard os an ceann ghearr e sìos, agus na doireachan; agus na dealbhan ſnaidhte, agus na dealbhan leaghta bhris e nam mìribh, agus phronn e gu luaithre, agus chrath e *i* air uaighibh na muinntir a dh'iobair dhoibh.

5 Agus loiſg e cnàmha nan ſagart air an altairibh, agus ghlan e Iudah, agus Ieruſalem.

6 Mar an ceudna ann am bailtibh Mhanaſeh, agus Ephraim agus Shimeoin, eadhon gu ruig Naphtali, nan àitibh faſaichte mu'n cuairt.

7 Agus an uair a bhris e sìos na h-altairean agus na doireachan, agus a phronn e na dealbhan ſnaidhte gu luaithre, agus a ghearr e sìos na dealbhan grianach [a] uile air feadh tìre Iſraeil uile, phill e gu h-Ieruſalem.

8 Agus anns an ochdamh bliadhna deug d'a rìoghachadh, 'nuair a ghlan e an tìr, agus an tigh, chuir e Saphan mac Aſaliah, agus Maaſeiah uachdaran a' bhaile, agus Ioah mac Ioahais an ſeanachaidh, a chàradh tighe an Tighearna a Dhé.

9 Agus thàinig iad gu Hilciah an t-ard ſhagart, agus thugadh *dhoibh* an t-airgiod a thugadh ſteach do thigh Dhé, a chruinnich na Lebhithich a ghléidh na dorſan o làimh Mhanaſeh agus Ephraim, agus o uile fhuigheall Iſraeil, agus o Iudah uile, agus o Bheniamin, agus o luchd-àiteachaidh Ieruſaleim [b].

10 Agus thug iad *e* do làimh luchd deanamh na h-oibre, a chuireadh os cionn tighe [c] an Tighearna, agus thug iadſan e do'n luchd-oibre a dh'oibrich ann an tigh an Tighearna, a chàradh agus a leaſachadh an tighe.

11 Thug iad *e* eadhon do na ſaoraibh agus do'n luchd-togail, a cheannach chlach ſnaidhte, agus fiodha chum nan ceangal [d] agus gu urlar a chur ſna tighibh, a mhill righrean Iudah.

12 Agus rinn na daoine an obair gu firinneach: agus *b'iad* an luchd amhairc thàiris orra Iahat, agus Obadiah, na Lebhithich, do mhacaibh Mherari; agus Sechariah agus Meſullam, do mhacaibh nan Cohatach, a chur *na h-oibre* air a h-aghaidh; mar an ceudna do na Lebhithich gach neach a bha eòlach [e] air innealaibh-ciuil.

13 *Bha iad* cuideachd os cionn an luchd-iomchaireallach, agus nan luchd amhairc thairis orra-ſan uile a rinn obair ann an gné ſeirbhis air bith: agus do na Lebhithich *bha* ſcrìobhuichean, agus riaghladairean, agus dorſairean.

14 Agus

a *na h-iodbolan.* b *agus phill iad gu h-Ieruſalem.* c *a bha nan luchd amhairc thairis ann an tigh.* d *tàdhacha.* e *ſeòlta, teòma.*

14 Agus an uair a bha iad a' toirt a mach an airgid a thugadh a ſteach do thigh an Tighearna, fhuair Hilciah an ſagart leabhar lagha an Tighearna an làimh [a] Mhaois.

15 Agus fhreagair Hilciah, agus thubhairt e ri Saphan an ſcrìobhuiche, Fhuair mi leabhar an lagha ann an tigh an Tighearna. Agus thug Hilciah an leabhar do Shaphan.

16 Agus thug Saphan an leabhar a dh'ionnſuidh an righ, agus dh'aithris e 'n gnothuch do'n righ, ag ràdh, Gach *ni* a dh'àithneadh do d' fheirbhiſich, *tha* iad a' deanamh.

17 Chruinnich iad an t-airgiod a fhuaradh ann an tigh an Tighearna, agus thug iad e do làimh an luchd amhairc thairis, agus do làimh luchd deanamh na h-oibre.

18 Agus dh'innis Saphan an ſcrìobhuiche do'n righ, ag ràdh, Thug Hilciah an ſagart leabhar dhomh. Agus leugh Saphan e an làthair an righ.

19 Agus an uair a chual an righ briathran an lagha, reub e 'eudach.

20 Agus dh'àithn an righ do Hilciah, agus do Ahicam mac Shaphain, agus do Abdon [b] mac Mhicah, agus do Shaphan an ſcrìobhuiche, agus do Aſaiah ſeirbhiſeach an righ, ag radh,

21 Rachaibh, fioſraichibh do'n Tighearna air mo ſhon-ſa, agus air an ſon-ſan a dh'fhàgadh ann an Iſrael agus ann an Iudah, thaobh bhriathar an leabhair a fhuaradh: oir *is* mòr fearg an Tighearna, a tha air a taomadh a mach oirnn, a chionn nach do choimhid ar n-aithriche focal an Tighearna, a dheanamh a réir gach *ni a ta* ſcrìobhta anns an leabhar ſo.

22 Agus chaidh Hilciah agus *iadſan* a dh'òrduich an righ gu Huldah a' bhan-fhàidh, bean Shaluim, mhic Thicbhah, mhic Haſrah [c] fhirghleidhidh an eudaich, (a nis bha i chòmhnuidh ann an Ieruſalem ann an oil-thigh [d]) agus labhair iad rithe mar ſin.

23 Agus fhreagair i iad, Mar ſo tha'n Tighearna Dia Iſraeil ag ràdh, Innſibh do'n duine a chuir ſibh a m'ionnſuidh-ſa,

24 Mar ſo tha'n Tighearn ag ràdh, Feuch, bheir miſe olc air an àite ſo, agus air a luchd-àiteachaidh, *eadhon* gach mallachadh a *ta* ſcrìobhta anns an leabhar a leugh iad am fianuis righ Iudah,

25 A chionn gu'n do thréig iad miſe, agus gu'n do loiſg iad tùis do dhéibh eile, chum mo bhroſnuchadh gu corruich le uile oibribh an làmh; uime ſin taomar m'fhearg a mach air an àite ſo, agus cha mhùchar i.

26 Ach a thaobh righ Iudah, a chuir ſibh a dh'fhioſrachadh do'n Tighearn, mar ſo their ſibh ris, Mar ſo tha'n Tighearna Dia Iſraeil ag ràdh, *A thaobh* nam briathar a chual thu,

27 A chionn gu'n do thiomaich do chridhe, agus gu'n d'irioſlaich thu thu féin an làthair Dhé, 'nuair a chual thu a bhriathran an aghaidh an àite ſo, agus an aghaidh a luchd-àiteachaidh, agus gu'n d'irioſlaich thu thu féin a'm' làthair-ſa, agus gu'n do reub thu t'eudach, agus gu'n do ghuil thu a'm' làthair, chuala miſe mar an ceudna *thuſa*, ars' an Tighearn.

28 Feuch, cruinnichidh mi thu chum t'aithriche, agus cruinnichear thu do d' uaigh an ſìth, agus cha'n fhaic do ſhùilean an t-olc ſin uile a bheir miſe air an àite ſo, agus air a luchd-àiteachaidh. Agus thug iad fios a rìs a dh'ionnſuidh an righ.

29 Agus chuir an righ *teachdairean* uaith, agus chruinnich e r'a chéile uile ſheanairean Iudah agus Ieruſalem.

30 Agus chaidh an righ ſuas do thigh an Tighearna, agus fir Iudah uile, agus luchd-àiteachaidh Ieruſaleim, agus na ſagairt agus na Lebhithich, agus an ſluagh uile eadar bheag agus mhòr; agus leugh e nan éiſdeachd uile bhriathran leabhair a' choimhcheangail, a fhuaradh ann an tigh an Tighearna.

31 Agus ſheas an righ na àite féin, agus rinn e coimhcheangal am fianuis

a *làimh*-ſcrìobhaidh, b *Achbor*. II. Righ. Caib. XXII. r. 12. c *Harhais*. II. Righ. Caib. XXII. r. 14. d *tigh-fòghluim; miſena*. Eabh.

ſanuis an Tighearna, gu'n gluaiſeadh
e 'n déigh an Tighearna, agus gu'n
gleidheadh e 'àitheantan, agus a theiſt-
eis, agus a reachda, le 'uile chridhe
agus le 'uile anam, a choimhlionadh
bhriathar a' choimhcheangail, *a tha*
ſcrìobhta anns an leabhar ſo.
32 Agus thug e orra-ſan uile a
fhuaradh ann an Ieruſalem agus Ben-
iamin, ſeaſamh: agus rinn luchd-
àiteachaidh Ieruſaleim a réir coimh-
cheangail Dé, Dé an aithriche.
33 Agus chuir Ioſiah air falbh na
gràineileachdan uile as na tìribh uile
a *bhuineadh* do chloinn Iſrael, agus
thug e orra-ſan uile a fhuaradh ann
an Iſrael ſeirbhis a dheanamh do'n
Tighearn an Dia. Rè a laithean
uile cha do chlaon iad o leantuinn an
Tighearna, Dé an aithriche.

CAIB. XXXV.

AGUS chum Ioſiah ann an Ieru-
ſalem càiſg do'n Tighearna:
agus mharbh iad a' chàiſg air a'
cheathramh *la* deug do'n cheud
mhios.
2 Agus ſhuidhich e na ſagairt
nan cùram, agus thug e miſneach
dhoibh chum ſeirbhis tighe an Tigh-
earna.
3 Agus thubhairt e ris na Lebhi-
thich a theagaiſg Iſrael uile, a *bha*
naomha [a] do'n Tighearna, Cuiribh an
àirc naomha anns an tigh a thog So-
lamh, mac Dhaibhidh, righ Iſrael;
cha *bhi i* na h-eallaich air bhur guail-
libh: deanaibh ſeirbhis a nis do'n
Tighearna bhur Dia, agus d'a ſhluagh
Iſrael,
4 Agus deaſaichibh ſibh féin a réir
tighe bhur n-aithriche, a réir bhur
roinnean, mar a ſcrìobh Daibhidh
righ Iſrael, agus mar a ſcrìobh So-
lamh a mhac;
5 Agus ſeaſaibh anns an *ionad*
naomh a réir roinnean theaghlach
aithriche bhur bràithre do'n t-ſluagh [b],
agus *a réir* roinne theaghlach aith-
riche nan Lebhitheach;
6 Agus marbhaibh a' chàiſg, agus
naomhaichibh ſibh féin, agus deaſ-
uichibh bhur bràithrean, chum gu'n
dean *iad* a réir focail an Tighearna
le làimh Mhaois.
7 Agus thug Ioſiah do'n t-ſluagh
caoraich, uain agus minn, iad uile
air ſon iobairtean càiſge dhoibh-ſan
uile a bha làthair, gu ruig deich mile
fichead an àireamh, agus tri mile bò:
iad ſin do mhaoin an righ.
8 Agus thug na h-uachdarain aige
gu toileach do'n t-ſluagh, do na ſa-
gartaibh, agus do na Lebhitheach-
aibh. Thug Hilciah, agus Sechariah,
agus Iehiel, uachdarain tighe Dhé,
do na ſagartaibh, air ſon iobairtean na
càiſge, dà mhìle agus ſè ceud [caora]
agus tri cheud bò.
9 Agus thug Conaniah, agus Se-
maiah, agus Netaneel agus a bhràith-
rean, agus Haſabiah, agus Iehiel, a-
gus Ioſabad, uachdarain nan Lebhi-
theach, do na Lebhithich air ſon io-
bairtean na càiſge, cùig mìle [caora]
agus cùig ceud bò.
10 Agus dh'ulluicheadh an t-ſeir-
bhis, agus ſheas na ſagairt nan àit,
agus na Lebhithich nan roinnibh, a
réir àithne an righ.
11 Agus mharbh iad [c] a' chàiſg, a-
gus chrath na ſagairt [an fhuil]
le'n làimh, agus dh'fhionn na Lebhi-
thich.
12 Agus thug iad air falbh na
h-iobairtean-loiſgte, chum gu'n
dthugadh iad ſeachad a réir roin-
nean theaghlach an t-ſluaigh, a
dh'iobradh do'n Tighearna, mar
a ta e ſcrìobhta ann an leabhar
Mhaois: agus mar ſin *rinn iad* ris a'
bhuar [d].
13 Agus ròiſt iad a' chàiſg le teine,
a réir na riaghailte; ach bhruich [e] iad
na *tabhartais* naomha ann am poit-
ibh, agus ann an coireachaibh, agus
ann an aighnibh, agus roinn ſiad
iad gu grad am meaſg an t-ſluaigh
uile.
14 Agus na dhéigh ſin dheaſaich
iad dhoibh féin agus do na ſagartaibh.
A chionn gu'n *rabh* na ſagairt, mic
Aaroin, ag iobradh iobairtean-loiſg-
te agus na ſaill gu h-oidhche,
uime

a *iad féin a naomhachadh.* b *mhac an t-ſluaigh.* Eabh. c *chuir
iad air leth.* d *chradh.* e *bhruith.* Eir.

uime ſin dheaſaich na Lebhithich dhoibh féin agus do na ſagairt, mic Aaroin.

15 Agus *bha*'n luchd-ſeinn, mic Aſaiph, nan àite féin, a réir àithne Dhaibhidh, agus Aſaiph, agus Hemain, agus Iedutuin fhear-ſeallaidh [a] an righ, agus na dorſairean aig gach geatadh: cha 'n fheumaidh iad an ſeirbhis fhàgail, oir dheaſaich am braithrean na Lebhithich air an ſon.

16 Agus dheaſaicheadh uile ſheirbhis an Tighearna air an là ſin féin, chum a' chàiſg a chumail, agus iobairtean-loiſgte iobradh air altair an Tighearna, a réir àithne an righ Ioſiah.

17 Agus chum clann Iſraeil, a bha làthair, a' chàiſg ſan àm ſin, agus féill [b] an arain neo-ghoirtichte, ſeachd laithean.

18 Agus cha do chumadh a leithid ſin do chàiſg ann an Iſrael o laithibh Shamueil an fhàidh; ni mò a chum uile righrean Iſraeil a leithid do chàiſg as a chum Ioſiah, agus na ſagairt, agus na Lebhithich, agus Iudah agus Iſrael uile a bha làthair, agus luchd-àiteachaidh Ieruſaleim.

19 Anns an ochdamh bliadhna deug do rìoghachadh Ioſiah chumadh a' chàiſg ſo.

20 Na dhéigh ſo uile 'nuair a dheaſaich Ioſiah an teampull, thàinig Necho righ na h-Eiphit a nìos a chogadh an aghaidh Charchemis, làimh ri Euphrates: agus chaidh Ioſiah a mach na aghaidh.

21 Ach chuir eſan teachdairean d'a ionnſuidh, ag ràdh, Ciod e mo ghnothuch-ſa riutſa, a righ Iudah? Cha'n ann a' t'aghaidh-ſa *tha* miſe teachd an diugh, ach an aghaidh tighe ris am bheil mi a' cogadh; agus dh'àithn Dia dhomh mi dheanamh cabhaig: leig dhìot *a bhi* ri Dia, a *tha* maille riumſa, chum nach ſgrios e thu.

22 Gidheadh cha do thionndaidh Ioſiah 'aghaidh uaith, ach dh'fhàs e ni bu déine [c] gu cogadh na aghaidh, agus cha d'éiſd e ri briathraibh Necho o bheul Dé, agus chaidh e ſteach a chur catha ann an gleann Mhegido.

23 Agus thilg na ſir-bhogha air righ Ioſiah; agus thubhairt an righ r'a ſheirbhiſich, Beiribh leibh mi, oir tha mi air mo lotadh gu mòr.

24 Agus thug a ſheirbhiſich e as a' charbad ſin, agus chuir iad e anns an dara carbad a *bha* aige, agus thug iad e gu h-Ieruſalem, agus fhuair e bàs, agus dh'adhlaiceadh e ann an àit-adhlaic 'aithriche: agus rinn Iudah agus Ieruſalem uile caoidh air ſon Ioſiah.

25 Agus rinn Ieremiah tuireadh [d] air ſon Ioſiah, agus labhair na ſir-ſheinn agus na mnài-ſheinn uile mu thimchioll Ioſiah nan tuireannaibh gu ruig an là 'n diugh, agus rinn ſiad iad nan reachd ann an Iſrael. Agus feuch, *tha* iad ſcrìobhta ann *an leabhar* nan tuireadh.

26 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Ioſiah, agus a mhaitheas, mar *a ta e* ſcrìobhta ann an lagh an Tighearna,

27 Eadhon a ghnìomharan an toiſeach agus mu dheireadh, feuch, *tha* iad ſcrìobhta ann an leabhar righrean Iſraeil agus Iudah.

CAIB. XXXVI.

AGUS ghabh ſluagh na tìre Iehoahas mac Ioſiah, agus rinn iad na righ e 'n àit 'athar ann an Ieruſalem.

2 Tri bliadhna fichead a dh'aois *bha* Iehoahas an uair a thòiſich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e tri mìoſan ann an Ieruſalem.

3 Agus chuir righ na h-Eiphit e [o rìoghachadh] ann an Ieruſalem [e], agus chuir e ceud tàlann airgid, agus tàlann òir, mar ùbhla [f] air an tìr.

4 Agus rinn righ na h-Eiphit Eliacim a bhràthair na righ air Iudah agus Ieruſalem, agus thionndaidh e 'ainm gu Iehoiacim. Agus ghabh Necho Iehoahas a bhràthair, agus thug e do'n Eiphit e.

5 Cùig

a *'fhir-ſhealladh.* b *cuirm, feiſd.* c *chuir ſe e féin ann an atharrachadh cruth.* d *cumhadh.* e Faic. II. Righ. Caib. XXIII. r. 33. f *mar chìs.*

5 Cùig bliadhna fichead a dh'aois *bha* Iehoiacim an uair a thòiſich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e aon bhliadhna deug ann an Ierusalem: agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearn a Dhé.

6 Na aghaidh-ſan thàinig Nebuchadneſar righ Bhabiloin a nìos, agus cheangail e ann an geimhlibh umha e, chum a thoirt dò Bhabilon.

7 Thug Nebuchadneſar mar an ceudna leis *cuid* do ſhoithichibh tighe an Tighearna do Bhabilon, agus chuir e iad na theampull[a] ann am Babilon.

8 Agus a' chuid eile do ghnìomharaibh Iehoiacim, agus a ghràineileachdan a rinn e, agus na fhuaradh ann, feuch, *tha* iad ſcrìobhta ann an leabhar righrean Iſraeil agus Iudah. Agus rìoghaich Iehoiachin a mhac na àit.

9 Ochd bliadhna deug[b] a dh'aois *bha* Iehoiachin an uair a thòiſich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e tri mìoſan agus deich laithean ann an Ierusalem; agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna.

10 Agus aig ceann na bliadhna[c] chuir righ Nebuchadneſar *daoine* uaith, agus thug e do Bhabilon e, maille ri ſeithichibh taitneach[d] tighe an Tighearna: agus rinn e Sedeciah a bhràthair[e] na righ air Iudah agus Ierusalem.

11 Bliadhna thar fhichead a dh'aois *bha* Sedeciah 'nuair a thòiſich e air rìoghachadh, agus rìoghaich e aon bhliadhna deug ann an Ierusalem.

12 Agus rinn e olc ann an sùilibh an Tighearna a Dhé; agus cha d'irioſlaich ſe e féin am fianuis Ieremiah an fhàidh, *a labhair* o bheul an Tighearna.

13 Agus mar an ceudna rinn e ceannairc an aghaidh righ Nebuchadneſair, a thug air mionnachadh air Dia: ach ragaich e a mhuineal, agus chruaidhich e a chridhe o thionndadh a dh'ionnſuidh an Tighearna Dé Iſraeil.

14 Mar an ceudna pheacaich iadſan uile a b'airde do na ſagartaibh agus do'n t-ſluagh gu ro-mhòr, a réir uile ghraineileachd nan cinneach, agus thruaill iad tigh an Tighearna, a naomhaich e ann an Ierusalem.

15 Agus chuir an Tighearna Dia an aithriche *fios* d'an ionnſuidh le làimh a theachdairean, ag éirigh gu moch, agus a' cur uaith; a chionn gu'n robh truas aige d'a ſhluagh, agus d'a àite-còmhnuidh:

16 Ach rinn iadſan fanoid air teachdairibh Dhé, agus rinn iad dìmeas air a bhriathraibh, agus rinn iad tarcuis[f] air 'fhàidhibh, gus an d'éirich fearg an Tighearna 'n aghaidh a ſhluaigh air chor as nach *robh* leigheas ann.

17 Uime ſin thug e orra righ nan Caldeanach, a mharbh an daoine òga leis a' chlaidheamh ann an tigh an *ionaid* naomha, agus nach do chaomhain òig-fhear no òigh, ſeann duine no eſan a bha air a chromadh leis an aois: thug e thairis iad uile na làimh.

18 Agus uile ſhoithichean tighe Dhé, mòr agus beag, agus ionmhais tighe an Tighearna, agus ionmhais an righ agus 'uachdarana, thug e leis uile do Bhabilon.

19 Agus loiſg iad tigh Dhé, agus bhris iad sìos balladh Ieruſaleim, agus loiſg iad a lùchairtean uile le teine, agus mhill iad a ſhoithichean taitneach uile.

20 Agus iadſan a chaidh as o'n chlaidheamh thug e leis do Bhabilon, far an robh iad nan ſeirbhiſich aige féin agus aig a mhacaibh, gus an do rìoghaich righ[g] Pherſia:

21 Chum gu'm biodh focal an Tighearna le beul Ieremiah air a choimhlionadh, gus am mealladh an tìr a sàbaidean: rè na h-ùine a bha i fàs, chum i sàbaidean[h], gus an do choimhlioneadh tri fichead agus deich bliadhna.

22 A nis ann an ceud bhliadhna Chiruis

a *lùchairt.* b Faic. II. Righ. Caib. XXIV. r. 8. c *teachd mu'n cuairt na bliadhna.* d *maiſeach, luachmhor.* e *bràthair 'athar.* f *magadh.* g *rìoghachd.* h *rinn i tàmh.*

Chiruis righ Pherſia, chum gu'm biodh focal an Tighearna le beul Ieremiah air a choimhlionadh, dhùiſg an Tighearna ſuas ſpiorad Chiruis righ Pherſia, agus thug e fa'near gairm a bhi air a tabhairt air feadh a rìoghachd uile, agus *a chur* mar an ceudna ann an ſcrìobhadh, ag ràdh,

23 Mar ſo tha Cirus righ Pherſia ag ràdh, Uile rìoghachdan an domhain thug an Tighearna Dia nan nèamh dhomhſa, agus dh'àithn e dhomh tigh a thogail dha ann an Ieruſalem, a *ta* ann an Iudah: ge b'e neach a *ta* nar [a] meaſg d'a ſhluagh uile, gu robh an Tighearn a Dhia maille ris, agus rachadh e ſuas.

a *ann bhur.*

E S R A.

CAIB. I.

ANIS ann an ceud bhliadhna Chiruis righ Pherſia, chum gu'm biodh focal an Tighearna le beul Ieremiah air a choimhlionadh, dhùiſg an Tighearna ſuas ſpiorad Chiruis righ Pherſia, agus thug e fa'near gairm a bhi air a tabhairt air feadh a rìoghachd uile, agus *a chur* mar an ceudna ann an ſcrìobhadh, ag ràdh,

2 Mar ſo tha Cirus righ Pherſia ag ràdh, Uile rìoghachdan an domhain thug an Tighearna Dia nan nèamh dhomhſa, agus dh'àithn e dhomh tigh a thogail dha ann an Ieruſalem, a *ta* ann an Iudah.

3 Ge b'e neach *a ta* 'nar meaſgſa d'a ſhluagh uile, gu robh a Dhia maille ris, agus rachadh e ſuas gu h-Ieruſalem a *ta* ann an Iudah, agus togadh e tigh an Tighearna Dé Iſraeil: *is* eſan an Dia, a *ta* ann an Ieruſalem.

4 Agus ge b'e neach a dh'fhàgadh[a] ann an àite ſam bith far *am bheil* e air chuairt, cuidicheadh daoine 'àite leis le h-airgiod, agus le h-òr, agus le maoin, agus le h-ainmhidhibh, a thuilleadh air an tabhartas ſaor-thoile air ſon tighe Dhé a *ta* ann an Ieruſalem.

5 An ſin dh'éirich cinn aithriche Iudah agus Bheniamin, agus na ſagairt agus na Lebhithich, gach neach aig an do dhùiſg Dia a ſpiorad gu dol ſuas a thogail tighe an Tighearna, a *ta* ann an Ieruſalem.

6 Agus neartaich iadſan uile a *bha* mu'n cuairt doibh an làmhan le ſoithichibh airgid, le h-òr, le maoin, agus le h-ainmhidhibh, agus le nithibh luachmhor, a thuilleadh air gach *ni* a thugadh ſeachad le ſaor-thoil.

7 Thug mar an ceudna an righ Cirus a mach ſoithichean[b] tighe an Tighearna, a thug Nebuchadneſar a mach a h-Ieruſalem, agus a chuir e ann an tigh a dhée:

8 Eadhon iad ſin thug Cirus righ Pherſia mach le làimh Mhitredait fhir-ghleidhidh an ionmhais, agus dh'àireamh e iad do Sheſbadſar uachdaran Iudah.

9 Agus *is* e ſo an àireamh: Deich cuacha fichead òir, mìle cuach airgid, naoi ſgeana fichead,

10 Deich thar fhichead ſoitheach-ionnlaid òir, ceithir cheud agus deich ſoithichean-ionnlaid airgid do'n dara *ſeòrſa*, mìle do ſhoithichibh eile:

11 Na ſoithichean òir agus airgid uile, cùig mìle agus ceithir cheud: *iad ſin* uile thug Seſbadſar ſuas maille ris na braighdibh[c], a thugadh ſuas o Bhabilon gu h-Ieruſalem.

CAIB. II.

AGUS *is* iad ſo clann na mòr-roinne, a chaidh ſuas do na braighdibh, dhiubhſan a thugadh air falbh, a thug Nebuchadneſar righ Bhabiloin air falbh leis do Bhabilon, agus a phill gu h-Ieruſalem agus Iudah, gach fear d'a bhaile féin;

2 A thàinig maille ri[d] Serubabel, Ieſua, Nehemiah, Seraiah, Realaiah, Mordecai, Bilſan, Miſpar, Bigbhai, Rehum, Baanah.

AIREAMH DHAOINE SLUAIGH ISRAEIL.

3 Mic Pharois, dà mhìle ceud tri fichead agus a dhà-dheug.

4 Mic

a *dh'fhanas.* b *airneis.* c *a' bhraighdeanas.* Eabh. d *mar-ri, le.*

4 Mic Shephatiah, tri cheud tri fichead agus a dhà-dheug.

5 Mic Arah, ſeachd ceud tri fichead agus cùig-deug.

6 Mic Phahat-mhoaib, do chloinn Ieſua [agus] Ioaib, dà mhìle ochd ceud agus a dhà-dheug.

7 Mic Elaim, mìle dà cheud leth-cheud agus a ceithir.

8 Mic Shatu, naoi ceud dà fhichead agus a cùig.

9 Mic Shacai, ſeachd ceud agus tri fichead.

10 Mic Bhani, sè ceud dà fhichead agus a dhà.

11 Mic Bhebai, sè ceud fichead agus a tri.

12 Mic Aſgaid, mìle dà cheud fichead agus a dhà.

13 Mic Adonicaim, sè ceud tri fichead agus a sè.

14 Mic Bhighbhai, dà mhìle dà fhichead agus sè-deug.

15 Mic Adin, ceithir cheud leth-cheud agus a ceithir.

16 Mic Ateir o Heſeciah, ceithir fichead agus ochd-deug.

17 Mic Bheſai, tri cheud fichead agus a tri.

18 Mic Iorah, ceud agus a dhà-dheug.

19 Mic Haſuim, dà cheud fichead agus a tri.

20 Mic Ghibair, ceithir fichead agus cùig-deug.

21 Mic Bhetleheim, ceud fichead agus a tri.

22 Daoine Netophah, dà fhichead agus sè deug.

23 Daoine Anatoit, ceud fichead agus a h-ochd.

24 Mic Aſmabheit, dà fhichead agus a dhà.

25 Mic Chiriat-iarim, Chephirah, agus Bheeroit, ſeachd ceud agus dà fhichead agus a tri.

26 Mic Ramah agus Gheba, sè ceud fichead agus a h-aon.

27 Daoine Mhichmais, ceud fichead agus a dhà.

28 Daoine Bheteil agus Ai, dà cheud fichead agus a tri.

29 Mic Nebo, dà fhichead agus a dhà-dheug.

30 Mic Mhagbis, ceud leth-cheud agus a sè.

31 Mic Elaim eile [a]*, mìle dà cheud leth-cheud agus a ceithir.*

32 Mic Harim, tri cheud agus fichead.

33 Mic Loid, Hadid, agus Ono, ſeachd ceud fichead agus a cùig.

*34 Mic Iericho, tri cheud dà fhi-*chead agus a cùig.

35 Mic Shenaah, tri mìle agus sè ceud agus deich thar fhichead.

36 Na ſagairt: Mic Iedaia, do thigh Ieſua, naoi ceud tri fichead agus tri-deug.

37 Mic Imeir, mìle dà fhichead agus a dhà-dheug.

38 Mic Phaſuir, mìle dà cheud dà fhichead agus a ſeachd.

39 Mic Harim, mìle agus ſeachd-deug.

40 Na Lebhitich: Mic Ieſua agus Chadmieil, do chloinn Hodabhiah, tri fichead agus ceithir-deug.

41 An luchd-ſeinn: Mic Aſaiph, ceud fichead agus a h-ochd.

42 Mic nan dorſair: Mic Shaluim, mic Ateir, mic Thalmoin, mic Acuib, mic Hatita, mic Shobai, iad uile ceud agus naoi-deug thar fhichead.

43 Na Netinich: Mic Shiha, mic Haſupha, mic Thabaoit,

44 Mic Cherois, mic Shiaha, mic Phadoin,

45 Mic Lebanah, mic Hagabah, mic Acuib,

46 Mic Hagaib, mic Shalmai, mic Hanain,

47 Mic Ghideil, mic Ghahair, mic Reaiah,

48 Mic Reſin, mic Necoda, mic Ghadſaim,

49 Mic Udſa, mic Phaſea, mic Bheſai,

50 Mic Aſnah, mic Mhehunim, mic Nephuſim,

51 Mic Bhacbuic, mic Hacupha, mic Harhuir,

52 Mic Bhaſluit, mic Mhehida, mic Harſa,

53 Mic Bharcois, mic Shiſera, mic Thamah,

54 Mic Neſia, mic Hatipha.

55 Mic

[a] *mic Elam-air.*

55 Mic fheirbhifeach Sholaimh: Mic Shotai, mic Shophereit, mic Pheruda,
56 Mic Iaalah, mic Dharcoin, mic Ghideil,
57 Mic Shephatiah, mic Hatil, mic Phochereit o Sheboim, mic Ami.
58 Na Netinich uile, agus clann fheirbhifeach Sholaimh, tri cheud ceithir fichead agus a dhà-dheug.
59 Agus fo iadfan a chaidh fuas o Thelmelah, Telharfa, Cherub, Adan agus Imer; ach cha b'urrainn iad tigh an athar a nochdadh agus an fliochd, am *b*'ann do Ifrael iad:
60 Mic Dhelaiah, mic Thobiah, mic Necoda, sè ceud leth-cheud agus a dhà.
61 Agus do mhacaibh nan fagart: Mic Habiah, mic Chois, mic Bharfillai, a ghabh bean do nigheanaibh Bharfillai a' Ghileadaich, agus a ghoireadh air an ainm.
62 Dh'iarr iadfan an clàr-fcrìobhaidh nam meafg-fan a bha air an àireamh le floinnteireachd, ach cha d'fhuaradh iad: uime fin ghearradh as o'n t-fagartachd iad [a].
63 Agus thubhairt an Tirfata riu, nach feudadh iad itheadh do na nithibh ro-naomha, gus an feafadh fagart fuas le Urim agus le Tumim.
64 An coimhthional uile cuideachd, da fhichead agus dà mhìle tri cheud agus tri fichead;
65 A thuilleadh air an feirbhifich agus am banoglaich, d'an *robh* ann feachd mìle tri cheud agus feachddeug thar fhichead, agus dhiubhfan dà cheud nam fearaibh agus nam mnaibh-feinn.
66 An eich, feachd ceud agus sèdeug thar fhichead: am muileidean[b], dà cheud dà fhichead agus a cùig:
67 An càmhail, ceithir cheud agus cùig-deug thar fhichead: *an* afail, sè mìle feachd ceud agus fichead.
68 Agus *thug* cuid do chinn nan aithriche, 'nuair a thàinig iad do thigh an Tighearna a *tha* ann an Ierufalem, feachad d'an faor-thoil air fon tighe Dhe, chum a chur fuas na àite féin.
69 A réir an comais thug iad, gu h-ionmhas na h-oibre, tri fichead agus aon mhìle darcon [c] òir, agus cùig mìle pund airgid, agus ceud culaidh fagairt.
70 Agus ghabh na fagairt agus na Lebhithich, agus *cuid* do'n t-fluagh, agus an luchd-feinn, agus na dorfairean, agus na Netinich, còmhnuidh nam bailtibh, agus Ifrael uile nam bailtibh.

CAIB. III.

AGUS an uair a thàinig an feachdamh mìos, agus clann Ifraeil 'n*am* bailtibh, chruinnich an fluagh an ceann a chéile mar aon duine gu h-Ierufalem.
2 Agus fheas Iefua mac Iofadaic fuas, agus a bhràithrean na fagairt, agus Serubabel mac Shealtieil, agus a bhràithrean, agus thog iad altair Dhé Ifraeil, a dh'ìobradh ìobairtean-loifgte oirre, mar *a ta e* fcrìobhta ann an lagh Mhaois òglaich Dhé.
3 Agus fhuidhich iad an altair air a bonnaibh, oir [d] *bha* eagal orra roimh fhluagh nan tìr fin; agus dh'ìobair iad ìobairte-loifgte do'n Tighearna, ìobairte-loifgte air maduinn agus air feafgar.
4 Agus chum iad féill nam pàilliun, mar *a ta e* fcrìobhta, agus *dh'ìobair iad* an ìobairt-loifgte lathail ann an àireamh, a réir na riaghailte, a dhlighe féin air gach la;
5 Agus na dheigh fin an ìobairtloifgte ghnàthaichte, araon air na gealaichibh nomha, agus air uile fhéillibh naomhaichte an Tighearna, agus o gach neach a thug feachad gu toileach tabhartas faor-thoile do'n Tighearna.
6 O'n cheud la do'n feachdamh mìos thòifich iad air ìobairtean-loifgte ìobradh do'n Tighearna, 'nuair nach do leagadh *fathaft* bunait teampuill an Tighearna.
7 Ach thug iad airgiod do na fnaidheadairibh

a *mar dhaoine truaillidh chuireadh iad o'n t-fagartachd.* b *muilidhean; mules.* Safg. c *drachm.* Safg. Faic. I. Eachdr. Caib. XXIX. r. 7. d *ge do.*

ſnaidheadairibh agus do'n luchd ceirde[a], agus biadh, agus deoch, agus oladh do na Sidonaich agus do na Tioraich[b], a chum gu'n dthugadh iad ſiodh ſeudair o Lebanon gu muir Iopa, a réir a' chomais[c] a fhuair iad o Chirus righ Pherſia.

8 Agus anns an dara bliadhna 'n déigh dhoibh teachd gu tigh Dhé aig Ieruſalem, anns an dara mios, thòiſich Serubabel mac Shealtieil, agus Ieſua mac Ioſadaic, agus fuigheall am bràithrean na ſagairt agus na Lebhithich, agus iadſan uile a thàinig o'n bhraighdeanas[d] gu h-Ieruſalem; agus dh'orduich iad na Lebhithich, o fhichead bliadhna dh'aois agus os a cheann, a chur oibre tighe an Tighearna air a h-aghaidh.

9 Agus ſheas Ieſua agus a mhic agus a bhràithrean, Cadmiel agus a mhic, agus mic Iudah[e] mar aon *duine*, a ghreaſadh an luchd-oibre ann an tigh Dhé; mic Henadaid [agus] am mic agus am bràithrean na Lebhithich.

10 Agus an uair a leag an luchd-togail bunait teampuill an Tighearna, ſheas na ſagairt nan culaidhibh le trompaidibh, agus na Lebhithich mic Aſaiph le ciombalaibh, a mholadh an Tighearna le làimh[f] Dhaibhidh righ Iſraeil.

11 Agus fhreagair iad a' chéile ann am moladh agus ann an tabhairt buidheachais do'n Tighearna; A chionn gu *bheil e* maith, gu *mair* a thròcair do Iſrael gu bràth. Agus rinn an ſluagh uile gàir mhòr, an uair a mhol iad an Tighearna, a chionn gu'n do leagadh bunait tighe an Tighearna.

12 Ach *bha* mòran do na ſagairt agus *do* na Lebhithich, agus *do* chinn nan aithriche, ſeann daoine a chunnaic an ceud thigh, 'nuair a leagadh bunait an tighe ſo fa chomhair an ſùl, a' gul le guth ard; agus *bha* mòran a' deanamh gàir gu h-ard le h-aoibhneas:

13 Air chor as nach b'urrainn an ſluagh fuaim gàir an aoibhneis aithneachadh, ſeach fuaim gul an t-ſluaigh; oir rinn an ſluagh gàir mhòr, agus chualas an fhuaim an céin.

CAIB. IV.

AGUS chuala naimhdean Iudah agus Bheniamin gu'n *robh* clann a' bhraighdeanais a' togail an teampuill do'n Tighearna Dia Iſraeil:

2 Agus thàinig iad gu Serubabel, agus gu cinn nan aithriche, agus thubhairt iad riu, Togaidh ſinne maille ribh; oir tha ſinne ag iarraidh bhur Dé-ſa mar ſibh féin, agus dhaſan *tha* ſinn ag iobradh o laithibh Eſar-hadoin righ Aſiria, a thug anios an ſo ſinn.

3 Ach thubhairt Serubabel agus Ieſua agus a' chuid eile do cheannaibh aithriche Iſraeil riu, Cha bhuin e dhuibhſe tigh a thogail maille ruinne d'ar Dia-ne; oir togaidh ſinn féin 'nar n-aonar do'n Tighearna Dia Iſraeil, mar a dh'àithn Cirus[g] righ Pherſia dhuinn.

4 Uime ſin dh'anmhunnaich[h] ſluagh na tìre làmhan ſluaigh Iudah, agus chuir iad dragh orra anns an togail.

5 Agus thuaraſdalaich iad comhairlich nan aghaidh, a bhacadh an rùin rè uile laithean Chiruis righ Pherſia, eadhon gus an do rioghaich Darius righ Pherſia.

6 Agus an uair a rioghaich Ahaſuerus, ann an toiſeach a rioghachaidh, ſcrìobh iad litir-chaſaid an aghaidh luchd-àiteachaidh Iudah agus Ieruſaleim.

7 Agus ann an laithibh Artaſercieis ſcrìobh Biſlam, Mitridat, Tabeel, agus a' chuid eile d'an cuideachd, gu Artaſercſes righ Pherſia; agus *bha* ſcrìobhadh na litreach ann an ſcrìobhadh nan Siriaach, agus air a mhìneachadh[i] anns a' chànain Shiriſanaich.

8 Scrìobh Rehum an t-ard chomhairleach, agus Simſai an ſcrìobhuiche, litir an aghaidh Ieruſaleim gu h-Artacſercſes

a *do na clachairibh agus do na ſaoraibh.* b *dhoibhſan a Sidon agus a Tirus.* c *an orduigh.* d *bhruid.* e *Hodabhia.* Caib. II. 4. 40. f *a réir riaghailte,* no, *ann am briathraibh.* g *an thigh Cirus.* h *dh'anfhannaich.* i *r'a thuigſinn, air a dheachdadh.*

tacſerceſes an righ anns na briathraibh ſo [a]:

9 An ſin *ſcriobh* Rehum an t-ard chomhairleach, agus Simſai an ſcrìobhuiche, agus a' chuid eile do'n cuideachd, na Dinathaich, na h-Apharſachaich, na Tarpelaich, na h-Apharſaich, na h-Archebhich, na Babilonaich, na Suſanchaich, na Dehabhaich, na h-Elamaich,

10 Agus a' chuid eile do na cinnich a thug Aſnapar mòr agus urramach a nall, agus a ſhuidhich e ann am bailtibh Shamaria, agus a' chuid eile air an taobh ſo do'n abhuinn [b], agus ann an leithid ſo do àm.

11 *Is* e ſo dùblachadh [c] na litireach a chuir iad d'a ionnſuidh: Gu h-Artacſerceſes an righ, do ſheirbhiſich, na daoine air an taobh ſo do'n abhuinn, agus aig a leithid ſo do àm.

12 Biodh fios aig an righ gu bheil na h-Iudhaich a thàinig a nìos uait d'ar n-ionnſuidh air teachd gu h-Ieruſalem, a' togail a' bhaile cheannaircich agus uilc ſin, agus a cur ſuas *a* bhallachan, agus a' ceangal r'a chéile nam bunait.

13 Bitheadh a nis fios aig an righ, ma thogar am baile ſo, agus ma chuirear ſuas a bhallachan, nach ìoc iad gearradh [d], cìs no càin, agus gu'n dthoir thu call air teachd-a-ſteach nan righ.

14 A nis a chionn gu bheil ſinne air ar beathachadh o'n lùchairt [e], agus nach *'eil e* iomchuidh dhuinn eaſurram an righ fhaicinn, uime ſin chuir ſinn *litir* uainn, agus thug ſinn fios do'n righ:

15 Chum gu'n rannſaichear ann an leabhar eachdraidh [f] t'aithriche, agus gu'm faigh thu anns an leabhar eachdraidh, agus gu'm bi fios agad gu *bheil* am baile ſo na bhaile ceannairceach, agus diubhalach [g] do righribh agus do mhòr-roinnibh, agus gu'n *robh* iad a' deanamh duaireachais [h] na mheadhon ſan t-ſean aimſir: air ſon ſo ſgrioſadh am baile ſo.

16 Tha ſinn a' toirt fios do'n righ, ma thogar am baile ſo, agus ma chuirear ſuas a bhallachan, an ſin nach bi cuibhrionn air bith agad air an taobh ſo do'n abhuinn.

17 Chuir an righ freagradh gu Rehum an t-ard chomhairleach, agus Simſai an ſcrìobhuiche, agus a' chuid eile d'an cuideachd a *bha* chòmhnuidh ann an Samaria, agus a' chuid eile an taobh thall do'n abhuinn, Sìth, agus aig a leithid ſo do àm.

18 An litir a chuir ſibh a m'ionnſuidh, leughadh gu ſoilleir a'm' làthair i.

19 Agus thugadh àithne leam, agus rannſaicheadh, agus fhuaradh a mach gu'n *robh* am baile ſo o ſhean ag éirigh an aghaidh righrean, agus gu'n d'rinneadh ceannairc agus duaireachas ann.

20 Agus bha righrean cumhachdach ann an Ieruſalem, a riaghlaich os an cionn-ſan uile air an taobh thall do'n abhuinn, agus dh'iocadh gearradh, cìs, agus càin doibh.

21 Thugaibhſe nis àithne, a thoirt air na daoine ſin ſgur, agus nach togar am baile ſin gus an dthig ordugh uamſa.

22 Thugaibh an aire ma ta nach dean ſibh mearachd an ſo. C'ar ſon a dh'fhàſadh calldach ann gu cron nan righ?

23 An ſin an uair a leughadh dùblachadh litireach Artacſerceſeis an righ an làthair Rehuim agus Shimſai an ſcrìobhuiche agus an cuideachd, chaidh iad le cabhaig ſuas gu h-Ieruſalem a dh'ionnſuidh nan Iudhach, agus thug iad orra ſgur leis an laimh làidir.

24 An ſin ſguir obair tighe Dhé, a *ta* ann an Ieruſalem. Sguir i gus an dara bliadhna do rioghachadh Dhariuis righ Pherſia.

CAIB. V.

ACH rinn Hagai am fàidh, agus Sechariah mac Ido an fhàidh, fàidheadaireachd do na h-Iudhachaibh a *bha* ann an Iudah agus ann an Ieruſalem, *fàidheadaireachd* dhoibh ann

a *air a' mhodh ſo.* b *amhuinn.* c *amhladh, lethbhreac.* d *dlighe.* e *o thigh an righ.* f *cuimhne.* g *cronail; dioghbhalach.* h *aimhreite, buaireis.*

ann an ainm an Tighearna Dé Israeil.

2 An sin dh'éirich Serubabel mac Shealtieil, agus Iesua mac Iosadaic, agus thòisich iad air tigh Dhé a thogail, a *tha* ann an Ierusalem: agus maille riu-san *bha* fàidhean Dhé a' cuideachadh leo.

3 Anns an àm sin fein thàinig d'an ionnsuidh Tatnai, an t-uachdaran air an taobh so do'n abhuinn, agus Setar-bosnai, agus an cuideachd [a], agus mar so thubhairt iad riu, Cò thug ordugh dhuibhse an tigh so a thogail, agus na ballacha so a dheanamh suas?

4 An sin thubhairt iad [b] riu air an dòigh so, C'ainm *a th'* air na daoinibh a *tha* togail na h-aitreabh [c] so?

5 Ach bha sùil an Dé air seanairibh nan Iudhach, agus cha d'thug iad orra sgur, gus an d'thàinig a' chùis a dh'ionnsuidh Dhariuis, agus an sin thugadh freagradh le litir mu thimchioll so:

6 Dùblachadh na litireach a chuir Tatnai an t-uachdaran air an taobh so do'n abhuinn, agus Setar-bosnai agus a chuideachd na h-Arphasachaich a *bha* air an taobh so do'n abhuinn, a dh'ionnsuidh Dhariuis an righ:

7 Chuir iad litir d'a ionnsuidh, anns an robh sgrìobhta mar so: Gu Darius an righ, gach uile shìochaint.

8 Biodh fios aig an righ gu'n deachaidh sinn gu mòr roinn [d] Iudea, a dh'ionnsuidh tighe an Dé mhòir, a tha 'ga thogail le clachaibh mòra, agus tha fiodh air a chur anns na ballachaibh, agus tha'n obair so a' dol gu luath air a h-aghaidh, agus a' soirbheachadh nan làmhaibh.

9 An sin dh'fheòraich sinn do na seanairibh sin, [agus] mar so thubhairt sinn riu, Cò thug dhuibh ordugh an tigh so a thogail, agus na ballacha so chur suas?

10 Agus mar an ceudna dh'fheòraich sinn an ainmean diubh, a thoirt fios duit, a chum gu'n sgrìobhamaid ainmean nan daoine a *bh*'air an ceann.

11 Agus mar so thug iad freagradh dhuinn, ag ràdh, *Is* sinne seirbhisich Dhé nan nèamh agus na talmhainn, agus *tha sinn* a' togail tighe a chaidh thogail iomadh bliadhna roimhe so, a thog agus a chrìochnaich [e] righ mòr a bh'air Israel.

12 Ach an uair a bhrosnaich ar n-aithriche Dia nèimh gu feirg, thug e thairis iad do làimh Nebuchadnesair righ Bhabiloin a' Chaldeanaich, a sgrios an tigh so, agus a thug an sluagh leis do Bhabilon.

13 Ach ann an ceud bhliadhna Chiruis righ Bhabiloin, thug righ Cirus ordugh [f] tigh so Dhé a thogail.

14 Agus mar an ceudna soithichean òir agus airgid tighe Dhé, a thug Nebuchadnesar as an teampull a *bha* ann an Ierusalem, agus a thug e leis do theampull Bhabiloin, iad sin thug righ Cirus a mach a teampull Bhabiloin, agus thugadh iad do *fhear d'am b*'ainm Sesbadsar, a rinn e na uachdaran.

15 Agus thubhairt e ris, Gabh na soithiche so, imich, thoir leat iad do'n teampull a *ta* ann an Ierusalem, agus biodh tigh Dhé air a thogail na àit.

16 An sin thàinig Sesbadsar sin, *agus* leag e bunait tighe Dhé a *ta* ann an Ierusalem: agus o'n àm sin gus a nis tha e 'ga thogail, agus cha 'n'eil e *fathast* crìochnaichte.

17 A nis uime sin, ma's maith leis an righ, deanar rannsachadh ann an tigh ionmhais an righ *a ta* ann am Babilon, *a dh'fheuchainn* an d'thugadh an t-ordugh so le righ Cirus, tigh so Dhé a thogail ann an Ierusalem, agus cuireadh an righ *fios* d'ar n-ionnsuidh *ciod i* a thoil a thaobh *an ni* so.

CAIB. VI.

AN sin thug Darius an righ ordugh seachad [g], agus rannsaich iad ann an tigh nan leabhar, far an *robh* na h-ionmhais air an taisgaidh ann am Babilon.

2 Agus fhuaradh ann an Achmeta,

a *an companaich.* b *sinn.* c *deanamh na h-oibre.* d *mòr-earrann.*
e *a choimhlion, a dheasaich.* f *àithne.* g *rinn Darius an righ reachd.*

ſa, anns an lùchairt a *ta* ann am
mòr-roinn nam Medach, clàr [a], agus
mar ſo *bha* ſeriobhta ann gu bhi air a
chumail air chuimhne [b].

3 Ann an ceud bhliadhna Chiruis
an righ, thug Cirus an righ ordugh
ſeachad *a thaobh* tighe Dhé ann an
Ieruſalem, Biodh an tigh air a thog-
ail, an t-àit anns an d'ìobair iad ìob-
airtean, agus a bhunaitean air an
ſuidheachadh gu làidir: 'airde, tri
fichead làmh-choille; a leud, tri fi-
chead làmh-choille:

4 Tri ſreathan do chlachaibh mòra,
agus ſreath do fhiodh nomha; agus
luaſaichear an coſtus [c] a tigh an righ.

5 Agus mar an ceudna aiſigear [d]
ſoithichean òir agus airgid tighe Dhé,
a thug Nebuchadneſar as an team-
pull a *ta* ann an Ieruſalem, agus a
thug e leis do Bhabilon, agus thugar
a rìs iad do'n teampull a *ta* ann an
Ieruſalem, *gach aon* d'a àit féin, agus
ſuidhich *iad* ann an tigh Dhé.

6 A nis a Thatnai, uachdarain air
an taobh thall do'n abhuinn, a She-
tar-boſnai, maille ri'r cuideachd na
h-Arphaſachaich a *tha* air an taobh
thall do'n abhuinn, bithibhſe fada o
ſin.

7 Leigibh le obair tighe ſo Dhé:
togadh uachdaran nan Iudhach, agus
ſeanairean nan Iudhach, tigh ſo Dhé
na àit.

8 Agus tha miſe a' toirt orduigh a
thaobh na ni ſibh ri ſeanairibh nan
Iudhach ſin, chum tigh ſo Dhé a
thogail; eadhon gu'n dthugar do
mhaoin an righ, do'n chìs air an
taobh thall do'n abhuinn, coſtus air
ball do na daoinibh ſin, a chum nach
cuirear bacadh *orra*.

9 Agus na *tha* dh'eaſbhuidh orra [e],
araon tairbh òga, agus reitheachan,
agus uain air ſon ìobairte-loiſgte Dhé
nèimh, cruithneachd, ſalann, fìon,
agus oladh, a réir orduigh nan ſagart
a *ta* ann an Ieruſalem, thugar gu
cinnteach dhoibh o là gu là, gu'n
fhàilingeadh;

10 A chum gu'n dthoir iad ſeach-
ad tabhartais deagh-bholaidh do Dhia
nèimh, agus gu'n dean iad urnuigh
air ſon beatha an righ agus a mhac.

11 Mar an ceudna thug mi ſeachad
ordugh, ge b'e neach a dh'atharraich-
eas am focal ſo, gu'n ſpìonar ſìos
fiodh as a thigh, agus an uair a chuir-
ear ſuas e, gu'n crochar air e, agus
gu'n deanar a thigh na òtrach [f] air
ſon ſo.

12 Agus an Dia a thug air 'ainm
còmhnuidh a ghabhail an ſin, gu'n
ſgrioſadh eſan na righrean ſin uile a-
gus an ſluagh a ſhìneas a mach an
làmh a dh'atharrachadh *agus* a ſgrios
tighe Dhé a *ta* ann an Ieruſalem.
Thug miſe Darius ordugh ſeachad;
deanar an ni gu luath.

13 An ſin rinn Tatnai an t-uachd-
aran air an taobh ſo do'n abhuinn,
Setar-boſnai, agus an cuideachd, gun
dàil a réir an *fhios* a chuir Darius an
righ uaith.

14 Agus thog ſeanairean nan Iudh-
ach, agus ſhoirbhich leo a réir fàidh-
eadaireachd Hagai an fhàidh, agus
Shechariah mhic Ido; agus thog iad
agus chrìochnaich iad, a réir àithne
Dhé Iſraeil, agus a réir àithne Chiruis
agus Dhariuis, agus Artacſercſeis righ
Pherſia.

15 Agus chrìochnaicheadh an tigh
ſo air an treas latha do'n mhìos A-
dar, a *bha* anns an t-ſeathadh bliadh-
na do rìoghachadh Dhariuis an righ.

16 Agus chum clann Iſraeil, na
ſagairt agus na Lebhithich, agus a'
chuid eile do chloinn a' bhraighdeanais,
coiſreagadh [g] tighe ſo Dhé le gaird-
eachas.

17 Agus dh'ìobair iad aig coiſ-
reagadh tighe ſo Dhé, ceud tarbh òg,
dà cheud reithe, ceithir cheud uan;
agus mar ìobairt-pheacaidh air ſon
Iſraeil uile, dà bhoc dheug gaibhre, a
réir àireimh threubh Iſraeil.

18 Agus ſhuidhich iad na ſagairt
nan roinnibh, agus na Lebhithich
nan ſealaibh, air ſon ſeirbhis Dhé, a
ta ann an Ieruſalem; mar a ta e
ſeriobhta ann an leabhar Mhaois.

19 Agus

a *rola; roll.* Saſg. b *cuimhneachan.* c *an cur a mach, an caitheamh.* d *thugar air an ais.* e *gach ni air am bheil feum aca.* f *na dhùnan.* g *naomhachadh; tiomnadh ſuas.*

19 Agus chum clann a' bhraighdeanais a' chàiſg air a' cheathramh *là* deug do'n cheud mhìos.

20 Oir ghlanadh na ſagairt agus na Lebhithich le chéile: *bha* iad uile glan, agus mharbh iad a' chàiſg do chloinn a' bhraighdeanais uile, agus d'am bràithribh na ſagartaibh, agus dhoibh féin.

21 Agus dh'ith[a] clann Iſraeil a thàinig air an ais o'n bhraighdeanas, agus iadſan uile a dhealaich[b] iad féin d'an ionnſuidh o ſhalchar chinneach na tìre, a dh'iarraidh an Tighearna Dé Iſraeil.

22 Agus chum iad féill an arain neo-ghoirtichte ſeachd laithean le h-aoibhneas: oir rinn an Tighearn aoibhinn iad, agus thionndaidh a cridhe righ Aſiria d'an ionnſuidh, a neartachadh an làmha ann an obair tighe Dhé, Dhé Israeil.

CAIB. VII.

1 AGUS an déigh nan nithe ſin, ri linn[c] Artacſercſeis righ Pherſia, *chaidh* Eſra mac Sheraiah, mhic Aſariah, mhic Hilciah,

2 Mhic Shaluim, mhic Shadoic, mhic Ahituib,

3 Mhic Amariah, mhic Aſariah, [mhic Iohanain, mhic Aſariah, mhic Ahimaais, mhic Shadoic, mhic Ahituib, mhic Amariah[d]] mhic Mheraoit,

4 Mhic Sheraiah, mhic Udſi, mhic Bhuci,

5 Mhic Abiſua, mhic Phinehais, mhic Eleaſair, mhic Aaroin an ard ſhagairt:

6 Chaidh Eſra ſo ſuas o Bhabilon, agus e na ſcrìobhuiche deas ann an lagh Mhaois, a thug an Tighearna Dia Iſraeil ſeachad: agus thug an righ dha, chionn gu'n robh làmh an Tighearna a Dhé air, 'iarrtus uile.

7 Agus chaidh *cuid* do chloinn Iſraeil, agus do na ſagartaibh, agus *do* na Lebhithich, agus *do*'n luchd-ſeinn, agus *do* na dorſairibh, agus *do* na Netinich, ſuas gu h-Ieruſalem, anns an t-ſeachdamh bliadhna do Artacſercſes an righ.

8 Agus thàinig e gu h-Ieruſalem anns a' chùigeadh mìos, a *bha* anns an t-ſeachdamh bliadhna do'n righ.

9 Oir air a' cheud *là* do'n cheud mhìos thòiſich e air dol ſuas o Bhabilon, agus air a' cheud *là* do'n chùigeadh mìos thàinig e gu h-Ieruſalem, a chionn gu'n robh làmh mhaith a Dhé air.

10 Oir dh'ulluich Eſra a chridhe a dh'iarraidh lagha an Tighearna, agus g'a dheanamh, agus a theagaſg ann an Iſrael reachdan agus bhreitheanaſa.

11 Agus *is* e ſo dùblachadh na litireach a thug righ Artacſercſes do Eſra an ſagart, an ſcrìobhuiche, ſcrìobhuiche bhriathar àitheantan an Tighearna, agus a reachda do Iſrael.

12 Artacſercſes righ nan righ, gu Eſra an ſagart, ſcrìobhuiche lagha Dhé nan nèamh, gach uile *ſìth*[e], agus na leithid ſo do àm.

13 Tha mi a' toirt orduigh, iadſan uile ann am rìoghachd do ſhluagh Iſraeil, agus *d*'a ſhagartaibh, agus *d*'a Lebhitheachaibh, leis an àill triall do h-Ieruſalem, gu'n dtheid iad maille riutſa:

14 A thaobh gu'n do chuireadh thu leis an righ, agus le 'ſheachd comhairleachaibh, a dh'fhiosrachadh mu thimchioll Iudah agus Ieruſaleim, a réir lagha do Dhé a *ta* ann ad làimh;

15 Agus a thoirt leat an airgid agus an òir, a thug an righ agus a chomhairlich d'an toil féin do Dhia Iſraeil, aig *am bheil* 'àite-còmhnuidh ann an Ieruſalem;

16 Agus an airgid agus an òir uile a gheibh thu ann an uile mhòr-roinn Bhabiloin, maille ri tabhartas ſaor-thoile an t-ſluaigh agus nan ſagart, a' toirt ſeachad d'an ſaor-thoil air ſon tighe an Dé, a *ta* ann an Ieruſalem:

17 A chum gu'n ceannaich thu air ball leis an airgiod ſo tairbh òga, reitheachan, uain, agus an tabhartais-bìdh agus an tabhartais-dìbhe, agus gu'n ìobair thu iad air altair tighe bhur Dé a *ta* ann an Ieruſalem.

18 Agus

a *dh'ich*. b *ſcar*. c *ann an rìoghachadh*. d Faic, I. Eachdr. Caib. VI. r. 7, 8, 9. e ſìth *iomlan*.

18 Agus ge b'e ni a's maith leat
féin agus le d' bhràithribh a dhean-
amh leis a' chuid eile do'n airgiod a-
gus do'n òr, a réir toile bhur Dé
deanaibh.

19 Na soithiche mar an ceudna a
tha air an tabhairt duit, air son seir-
bhis tighe do Dhé, thoir seachad am
fianuis Dé Ierusaleim.

20 Agus ge b'e ni tuilleadh a bhios
feumail air son tighe do Dhé, a chi
thu aobhar air a bhuileachadh [a], buil-
ich *e* a tigh-ionmhais an righ.

21 Agus tha mise, mise féin Ar-
tacsercses an righ, a' toirt orduigh do
uile luchd-coimhead an ionmhais a *ta*
air an taobh thall do'n abhuinn, ge
b'e ni a dh'iarras Esra an sagart, scrìo-
bhuiche lagha Dhé nan nèamh oirbh,
gu'n deanar air ball e;

22 Gu ruig ceud tàlann airgid,
agus gu ruig ceud tomhas cruith-
neachd, agus gu ruig ceud bat fìona,
agus gu ruig ceud bat olaidh, agus
salann gun àireamh [b].

23 Gach ni *a ta* a réir àithne Dhé
nan nèamh, deanar gu cùramach e do
thigh Dhé nan nèamh, air eagal gu'm
bi fearg an aghaidh rìoghachd an righ
agus a mhac.

24 Mar an ceudna *tha* sinn a' toirt
fios duibh a thaobh nan sagart uile
agus nan Lebhitheach, an luchd-seinn,
nan dorsair, nan Netineach, no fheir-
bhiseach tighe so Dhé, nach feudar
gearradh [c], cìs, no càin a chuir orra.

25 Agus suidhich thusa, Esra, a
réir gliocais do Dhé, a *ta* ann ad
làimh, uachdarain, agus breitheamh-
na, a bheir breth air an t-sluagh uile
a *ta* air an taobh thall do'n abhuinn,
orrasan uile d'an aithne laghanna do
Dhé; agus teagaisgibh iadsan do nach
aithne *iad*.

26 Agus gach neach nach dean a
réir lagha do Dhé agus lagha an righ,
deanar breitheanas air ball air, ma's
ann a chum bàis, na chum fògraidh,
no chum ùbhlaidh [d], no chum prìo-
suin [e].

27 Beannuichte *gu robh* an Tigh-
earna Dia ar n-aithriche, a chuir mar
so ann an cridhe an righ, a dheanamh
tighe an Tighearna, a *ta* ann an Ie-
rusalem, maiseach:

28 Agus a fhuair tròcair dhomhsa
am fianuis an righ agus a chomhair-
leacha, agus am fianuis uile uachdar-
ana cumhachdach an righ: agus neart-
aicheadh mi a chionn gu'n robh
làmh an Tighearna mo Dhé orm, a-
gus chruinnich mi a h-Israel daoine
taghta [f] gu dol suas maille rium.

CAIB. VIII.

AGUS *is* iad so cinn an aithriche,
agus an àireamh a réir an gin-
ealacha, a chaidh suas maille rium
o Bhabilon, ri linn Artacsercseis an
righ:

2 Do mhacaibh Phinehais; Ger-
som: do mhacaibh Itamair; Daniel;
do mhacaibh Dhaibhidh; Hatus.

3 Do mhacaibh Shechaniah; ****
do mhacaibh Pharois; Sechariah: a-
gus maille ris-san *bha* air an àireamh
a réir an ginealacha do fhirionnach-
aibh ceud agus leth-cheud.

4 Do mhacaibh Phahat-mhoaib;
Elioenai, mac Sherahiah, agus maille
ris dà cheud firionnach.

5 Do mhacaibh [Shatu:] Secha-
niah mac Iahasieil, agus maille ris
tri cheud firionnach:

6 Agus do mhacaibh Adin; Ebed
mac Ionatain, agus maille ris leth-
cheud firionnach.

7 Agus do mhacaibh Elaim; Ie-
saiah mac Ataliah, agus maille ris tri
fichead agus deich firionnaich.

8 Agus do mhacaibh Shephatiah;
Sebadiah mac Mhichaeil, agus mail-
le ris ceithir fichead firionnach.

9 Do mhacaibh Ioaib; Obadiah
mac Iehieil, agus maille ris dà cheud
agus ochd firionnaich dheug.

10 Agus do mhacaibh [Bha-
ni;] Selomit mac Iosiphiah, agus
maille ris ceud agus tri fichead firion-
nach.

11 Agus do mhacaibh Bhebai;
Sechariah mac Bhebai, agus maille
ris fichead agus ochd firionnaich.

12 Agus do mhacaibh Asgaid;
Iohanan,

a *a thoirt seachad, a chaitheamh.* Eabh. b *gun a bhi air a scrìobhadh.* Eabh. c *dìghe.* d *call a mhaoin.* e *gu geimhlibh.* f *cinn.*

Iohanan, mac Hacatain, agus maille ris ceud agus deich ſirionnaich.

13 Agus do mhacaibh deireannach Adonicaim; agus *is* iad ſo an ainmeanna, Eliphelet, Ieiel, agus Semaiah, agus maille riu tri ſichead ſirionnach.

14 Agus do mhacaibh Bhigbhai, Utai agus Sabud, agus maille riu tri ſichead agus deich ſirionnaich.

15 Agus chruinnich mi iad a dh'ionnſuidh na h-aibhne a tha teachd gu Ahabha, agus an ſin dh'fhan ſinn ann am bùthaibh tri laithean, agus ghabh mi beachd do'n t-ſluagh, agus do na ſagairt, agus cha d'fhuair mi'n ſin a h-aon do mhacaibh Lebhi.

16 An ſin chuir mi ſios air Elieſer, air Ariel, air Semaiah, agus air Elnatan[a], agus air Natan, agus air Sechariah, agus air Meſulam, prìomh dhaoine; agus air Ioiarib agus air Elnatan, daoine tuigſeach.

17 Agus chuir mi iad le h-àithne gu Ido an ceann, aig àit Chaſiphia, agus dh'innis mi dhoibh ciod[b] a theireadh iad ri Ido, [agus] r'a bhràithribh na Netinich aig àit Chaſiphia, gu'n dthugadh iad d'ar n-ionnſuidh ſeirbhiſich air ſon tighe ar Dé.

18 Agus le làimh mhaith ar Dé oirnn thug iad d'ar n-ionnſuidh Isſechel[c] do mhacaibh Mhahli, mhic Lebhi, mhic Iſraeil, agus Serebiah agus a mhic agus a bhràithrean, ochd *fir* dheug.

19 Agus Haſabiah, agus maille ris Ieſaiah do mhacaibh Mherari, a bhràithrean, agus am mic, ſichead.

20 Agus do na Netinich a dh'orduich Daibhidh agus na h-uachdarain air ſon ſeirbhis nan Lebhitheach, dà cheud agus ſichead Netineach: ghoireadh[d] iad uile air an ainm.

21 An ſin ghairm mi troſgadh ſan àite ſin aig abhuinn Ahabha, chum gu'n irioſlaicheamaid[e] ſinn féin am fianuis ar Dé, a dh'iarraidh air ſlighe cheirt dhuinn féin, agus d'ar cloinn bhig, agus d'ar maoin uile.

22 Oir bu nàir leam buidheann ſhaighdearan agus marc-ſhluagh iarraidh air an righ, a chuideachadh leinn an aghaidh an namhaid air an t-ſlighe; a chionn gu'n do labhair ſinn ris an righ, ag radh, Tha làmh ar Dé chum maith orra-ſan uile a dh'iarras e, ach a chumhachd agus 'fhearg nan aghaidh-ſan uile a threigeas e.

23 Uime ſin throiſg ſinn, agus dh'iarr ſinn ar Dia air ſon ſo, agus dh'éiſd e ri'r n-athchuinge.

24 An ſin chuir mi air leth dà fhear dheug dhiubhſan a b'àirde do na ſagartaibh, Serebiah, Haſabiah, agus deichnear d'am bràithribh maille riu,

25 Agus thomhais[f] mi dhoibh an t-airgiod, agus an t-òr, agus na ſoithichean, tabhartas tighe ar Dé, a thug an righ, agus a chomhairlich[g], agus a dhaoine mòra, agus Iſrael uile a bha làthair, ſeachad.

26 Thomhais mi eadhon d'an làimh sè ceud agus leth-cheud talann airgid, agus *do* ſhoithichibh airgid ceud tàlann, agus ceud tàlann òir;

27 Agus ſichead cuach òir de mhìle darcon, agus dà ſhoitheach de umha buidh maith, luachmhor mar òr.

28 Agus thubhairt mi riu, *Tha* ſibhſe naomha do'n Tighearna, agus na ſoithichean naomha, agus an t-airgiod agus an t-òr, na thabhartas ſaorthoile do'n Tighearna Dia bhur n-aithriche.

29 Deanaibh faire, agus coimheadaibh, gus an cothromaich ſibh iad am fianuis uachdarana nan ſagart, agus nan Lebhitheach, agus uachdarana aithrichean Iſraeil ann an Ieruſalem, ann an ſeomraichibh tighe an Tighearna.

30 Uime ſin ghabh na ſagairt agus na Lebhithich cothrom an airgid agus an òir, agus nan ſoitheach, chum *an* tabhairt gu h-Ieruſalem a dh'ionnſuidh tighe ar Dé.

31 Agus dh'imich ſinn o abhuinn Ahabha

a *air Elnatan, agus air Iarib, agus air Elnatan.* b *chuir mi ann beul na briathra.* Eabh. c *duine tuigſeach.* d *dh'ainmichteadh.* e *cràdhamaid.* f *chothromaich.* g *chomhairlichean.*

Ahabha air an dara latha deug do'n cheud mhìos, gu dol do h-Ieruſalem; agus bha làmh ar Dé oirnn, agus ſhaor e ſinn o làimh an nàmhaid, agus o'n *làimh*-ſan a bha deanamh ſeall-fholach air an t-ſlighe.

32 Agus thàinig ſinn gu h-Ieruſalem, agus dh'fhan ſinn an ſin tri laithean.

33 Agus air a' cheathramh là thomhaiſeadh an t-airgiod agus an t-òr, agus na ſoithichean ann an tigh ar Dé le làimh Mheremoit mhic Uriah an t-ſagairt, agus maille ris *bha* Eleaſar mac Phinehais, agus maille riu-ſan Ioſabad mac Ieſua, agus Noadiah mac Bhinui, Lebhithich:

34 A réir àireamh *agus* a réir tomhais nan uile: agus ſcrìobhadh an tomhas uile ſan àm ſin.

35 Thug clann na muinntir a thugadh air falbh, agus a thàinig o'n bhraighdeanas, ſeachad ìobairtean-loiſgte do Dhia Iſraeil, dà tharbh dheug òg air ſon Iſraeil uile, ceithir fichead agus sè reithe deug, tri fichead agus ſeachd uain dheug, dà bhoc dheug gaibhre mar ìobairt-pheacaidh: iad uile nan ìobairt-loiſgte do'n Tighearna.

36 Agus thug iad ſeachad orduighean an righ do ard riaghlairibh an righ, agus do na h-uachdaranaibh air an taobh ſo do'n abhuinn; agus chuir iadſan an ſluagh agus tigh Dhé air an aghaidh.

CAIB. IX.

AGUS an uair a rinneadh na nithe ſin, thàinig na h-uachdarain a m' ionnſuidh, ag ràdh, Cha do dhealaich ſluagh Iſraeil, agus na ſagairt, agus na Lebhithich iad féin o ſhluagh na tìre, *a' deanamh* a réir an gràineileachda, *eadhon* nan Canaanach, nan Hiteach, nam Periſeach, nan Iebuſach, nan Amonach, nam Moabach, nan Eiphiteach, agus nan Amorach.

2 Oir ghabh iad d'an nigheanaibh dhoibh féin agus d'am macaibh, agus mheaſg an ſliochd naomha iad féin ri ſluagh nan tìr: agus bha làmh nan uachdaran agus nan riaghlair air thoiſeach anns a' chionta ſo.

3 Agus an uair a chuala mi an ni ſo, reub mi m'eudach, agus m'fhalluing, agus ſpìon mi *cuid* do ghruaig mo chinn agus m'fheuſag, agus ſhuidh mi sìos fo uamhann[a].

4 An ſin chruinnicheadh a m' ionnſuidh iadſan uile a chriothnaich roimh bhriathraibh Dhé Iſraeil air ſon eu-ceirt na muinntir a thugadh air falbh, agus ſhuidh mi fo uamhann gu ruig an ìobairt-fheaſgair.

5 Agus aig an ìobairt-fheaſgair dh'éirich mi o'm thuirſe, le m'eudach agus m'fhalluing reubta umam, agus leag mi mi féin air mo ghlùinibh, agus ſgaoil mi mach mo làmhan a dh'ionnſuidh an Tighearna mo Dhé,

6 Agus thubhairt mi, O mo Dhia, tha nàir orm agus rudhadh gruaidh m'aghaidh thogail riutſa, mo Dhia: oir tha ar n-eucearta air fàs lìonmhor os *ar* cionn, agus tha ar cionta air éirigh ſuas gu nèamh.

7 O laithibh ar n-aithriche *bha* ſinn ann an cionta mòr gu ruig an la 'n diugh, agus air ſon ar n-eucearta thugadh thàiris ſinn féin, ar righrean, ar ſagairt do làimh righrean nan tìr, do'n chlaidheamh, do dhaorſa, agus do chreachadh, agus do nàire gnùiſe, mar air an la 'n diugh.

8 Agus a nis car tamuill bhig nochdadh gràs[b] o'n Tighearn ar Dia, a dh'fhàgail duinn fuighill[c], agus a thabhairt tairnge dhuinn na ionad naomha, chum gu'n ſoillſicheadh ar Dia ar sùilean, agus gu'n dthugadh e dhuinn beagan beothachaidh 'nar daorſa:

9 Oir *bha* ſinne nar tràillibh, gidheadh nar daorſa cha do thréig ar Dia ſinn, ach fhuair e tròcair dhuinn ann an sùilibh righrean Pherſia, a thoirt duinn ath-bheothachaidh a chur ſuas tighe ar Dé, agus a leaſachadh na mhilleadh ann[d], agus a thoirt duinn ballaidh ann an Iudah agus ann an Ieruſalem.

10 Agus a nis, O ar Dia, ciod a their ſinn an déigh ſo? oir thréig ſinn t'aitheanta,

11 A dh'àithn thu le d' ſheirbhiſich na fàidhean, ag ràdh, *Tha'n* talamh d'am bheil ſibh a' dol g'a ſhealbhachadh,

a *ioghnadh.* b *bàigh.* c *dol as.* d *'fhàſaichean.*

ſhealbhachadh, na thalamh neo-ghlan
le neo-ghloine ſhluaigh nan tìr, le'n
gràineileachdaibh a lìon e o cheann
gu ceann, le'n ſalchar.
12 A nis ma ta na dthugaibh bhur
nigheana d'am macaibh, agus an nigh-
eana-ſan na gabhaibh do bhur mac-
aibh-ſa, agus na h-iarraibh an sìth,
no an ſaibhreas gu bràth; chum gu'm
bi ſibh làidir, agus gu'n ith ſibh
maith an fhearainn, agus gu'm fàg
ſibh e na oighreachd do'r cloinn gu
bràth.
13 Ach an déigh gach *ni* a thàinig
oirnn air ſon ar droch oibre, agus air
ſon ar ciontaidh mhòir, o nach d'rinn
thuſa ar Dia peanas oirnn a réir ar
droch thoillteanais [a], agus gu'n d'thug
thu dhuinn a leithid ſo do ſhaorſa;
14 Nam briſeamaid a rìs t'àith-
eanta, agus nan deanamaid cleamhnas
ri ſluagh nan gràineileachd ſin, nach
biodh fearg ort ruinn gus an cuireadh
tu as *duinn*, air chor as nach *biodh*
fuigheall no dol as ann?
15 A Thighearna Dhé Iſraeil, *is*
ceart thuſa, oir tha ſinn a làthair a
thàinig as [b], mar air an la'n diugh.
Feuch, *tha* ſinn a't' fhianuis nar peac-
annaibh: oir cha'n urrainn ſinn ſeaſ-
amh a't' fhianuis air ſon ſo.

CAIB. X.

A NIS anuair a rinn Eſra urnuigh,
agus a dh'aidich e, a' gul, a-
gus 'ga thilgeadh féin sìos fa chomh-
air tighe Dhé, chruinnich d'a ionn-
ſuidh a h-Iſrael coimhchruinneachadh
ro-mhòr do fhearaibh, agus do mhnaibh,
agus do chloinn; oir ghuil an ſluagh
gu mòr [c].
2 Agus labhair [d] Sechaniah mac
Iehiel, *aon* do mhacaibh Elaim, agus
thubhairt e ri h-Eſra, Pheacaich ſinn
an aghaidh ar Dé, agus ghabh ſinn
d'ar n-ionnſuidh mnài choimheach [e]
do ſhluagh na tìre: ach a nis tha dò-
chas aig Iſrael a thaobh an ni ſo.
3 A nis uime ſin deanamaid coimh-
cheangal ri'r Dia, na mnài uile a
chur uainn, agus iadſan a rugadh
leo, a réir comhairle mo thighearna,
agus na muinntir a chriothnuicheas
ri àithne ar Dé, agus deanar a réir
an lagha.
4 Eirich; oir dhuitſe *buinidh* an
ni *ſo*, agus *bithidh* ſinne maille riut:
gabh miſneach, agus dean.
5 Agus dh'éirich Eſra, agus thug
e air na h-ard-ſhagartaibh, na Le-
bhithich, agus Iſrael uile mionnach-
adh, gu'n deanadh iad a réir an
fhocail ſo; agus mhionnaich iad.
6 An ſin dh'éirich Eſra o làthair
tighe Dhé, agus chaidh e do ſheòmar
Iohanain, mhic Eliaſib: agus an uair
a thàinig e 'n ſin, cha d'ith e aran,
agus cha d'òl e uiſge; oir rinn e bròn
air ſon ciontaidh na muinntir a thug-
adh air falbh.
7 Agus thug iad gairm air feadh
Iudah agus Ieruſaleim, do uile chloinn
a' bhraighdeanais, iad a chruinneach-
eadh ri chéile gu h-Ieruſalem;
8 Agus ge b'e neach nach dthig-
eadh an cionn thri laithean, a réir
comhairle nan uachdaran agus nan
ſeanair, gu'n dthugta uaith [f] a mhaoin
uile, agus gu'm biodh e féin air a
dhealachadh o choimhchruinneachadh
na muinntir a thugadh air falbh.
9 Agus chruinnicheadh fir Iudah a-
gus Bheniamin uile gu h-Ieruſalem an
cionn thri laithean: *bha* e *anns* an
naothadh mìos, air an fhicheadadh
la do'n mhìos: agus ſhuidh an ſluagh
uile ann an ſràid tighe Dhé, air chrith
air ſon an ni *ſo*, agus air ſon an uiſge
mhòir.
10 Agus dh'éirich Eſra an ſagart,
agus thubhairt e riu, Pheacaich ſibh,
agus ghabh ſibh dhuibh féin mnài
choimheach a mheudachadh peacaidh
Iſraeil.
11 A nis ma ta deanaibh aid-
mheil [g] do'n Tighearna Dia bhur
n-aithriche, agus coimhlionaibh a
thoil; agus dealaichibh ſibh féin o
ſhluagh na tìre, agus o na mnaibh
coimheach.
12 Agus fhreagair an coimhthional
uile, agus thubhairt iad le guth ard,
Mar ſin, a réir t'fhocail, *tha e ceang-
ailte* oirnne a dheanamh.
13 Ach *tha*'n ſluagh lìonmhor, a-
gus

a *gu'n do chaomhain thu ſinn thar* mar a thoill *ar peacanna*. b *tha fuigheall a làthair dhinn.* c *le gul mòr*. Eabh. d *fhreagair.* e *choigreach.* f *gu'n cailleadh e.* g *thugaibh glòir.*

gus *is* àm mòr uiſge e, agus cha'n urrainn ſinn ſeaſamh a muigh, agus cha'n obair aon latha, no dà *latha* ſo, oir tha ſinn lìonmhor a pheacaich anns an ni ſo.

14 Seaſadh a nis ar n-uachdarain do'n choimhthional uile, agus aig àmannaibh ſuidhichte thigeadh iadſan uile nar bailtibh a ghabh dhoibh féin mnài choimheach, agus maille riu ſeanairean gach baile, agus a bhreitheamhna, gus an tionndaidhear fearg laiſte ar Dé uainn a thaobh an ni ſo.

15 Sheas a mhàin Ionatan mac Aſaheil, agus Iahaſiah mac Thicbhah air ſon ſo: agus chuidich Meſulam agus Sabetai an Lebhitheach leo.

16 Agus rinn clann a' bhraighdeanais mar ſin: agus dhealaicheadh Eſra an ſagart, *agus* cinn àraidh nan aithriche a réir tighe an aithriche, agus iad uile a réir an ainmean, agus ſhuidh iad sìos air a' cheud là do'n deicheamh mìos a rannſachadh na cùiſe.

17 Agus chrìochnaich iad a thaobh nan daoine uile a ghabh dhoibh féin mnài choimheach, air a' cheud là do'n cheud mhìos.

18 Agus am meaſg mhac nan ſagart fhuaradh a ghabh dhoibh féin mnài choimheach: Do mhacaibh Ieſua, mhic Ioſadaic, agus a bhràithrean; Maaſeiah, agus Elieſer, agus Iarib, agus Gedaliah.

19 Agus thug iad an làmha gu'n cuireadh iad uatha am mnài: agus air dhoibh bhi ciontach, *thug iad* reithe do'n treud air ſon an ciontaidh.

20 Agus do mhacaibh Imeir; Hanani, agus Sebadiah.

21 Agus do mhacaibh Harim; Maaſeiah, agus Eliah, agus Semaiah, agus Iehiel, agus Udſiah.

22 Agus do mhacaibh Phaſuir; Elioenai, Maaſeiah, Iſmael, Netaneel, Ioſebad, agus Elaſah.

23 Agus do na Lebhithich; Ioſabad, agus Simei, agus Celaiah, (*is* e ſin Celita,) Petahiah, Iudah, agus Elieſer.

24 Agus do'n luchd-ſeinn; Eliaſib: agus do na dorſairibh; Salum, agus Telem, agus Uri.

25 Agus do Iſrael: Do mhacaibh Pharois; Ramaiah, agus Ieſiah, agus Malchiah, agus Miamin, agus Eliaſer, agus Malchia, agus Benaiah.

26 Agus do mhacaibh Elaim; Mataniah, Sechariah, agus Iehiel, agus Abdi, agus Ierimot, agus Eliah.

27 Agus do mhacaibh Shatu; Elioenai, Eliaſib, Mataniah, agus Ieremot, agus Sabad, agus Aſiſa.

28 Agus do mhacaibh Bhebai; Iehohanan, Hananiah, Sabai, *agus* Atlai.

29 Agus do mhacaibh Bhani; Meſulam, Maluch, agus Adaiah, Iaſub, agus Seal, agus Ramot.

30 Agus do mhacaibh Phahatmhoaib; Adna, agus Chelal, Benaiah, Maaſeiah, Mataniah, Beſaleel, agus Binui, agus Manaſeh.

31 Agus do mhacaibh Harim; Elieſer, Iſiah, Malchiah, Semaiah, Simeon,

32 Beniamin, Maluch, *agus* Semariah.

33 Do mhacaibh Haſuim; Matenai, Matatah, Sabad, Eliphelet, Ieremai, Manaſeh, *agus* Simei.

34 Do mhacaibh Bhani; Maadai, Amram, agus Uel,

35 Benaiah, Bedaiah, Cheluh,

36 Bhaniah, Meremot, Eliaſib,

37 Mataniah, Matenai, agus Iaaſau,

38 Agus Bani, agus Binui, Simei,

39 Agus Selemiah, agus Natan, agus Adaiah,

40 Machnadebai, Saſai, Sarai,

41 Aſareel, agus Selemiah, Semariah,

42 Salum, Amariah, *agus* Ioſeph.

43 Do mhacaibh Nebo; Ieiel, Matitiah, Sabad, Sebina, Iadau, agus Ioel, Benaiah.

44 Ghabh iad ſin uile dhoibh féin mnài choimheach: agus aig *cuid* diubh bha mnài ris an robh clann aca.

NEHEMIAH.

CAIB. I.

BRIATHRA Nehemiah mhic Hachaliah [a]. Agus tharladh anns a' mhìos Chiſleu, anns an fhicheadamh bliadhna, 'nuair a bha mi ann an Suſan an lùchairt,

2 Gu'n d'thàinig Hanani, aon do m' bhràithribh, e féin agus daoine do Iudah, agus dh'fheòraich mi dhiubh a thaobh nan Iudhach a chaidh as, a dh'fhàgadh do'n bhraighdeanas, agus mu thimchioll Ieruſaleim.

3 Agus thubhairt iad rium, *Tha* 'm fuigheall a dh'fhàgadh do'n bhraighdeanas an ſin anns a' mhòr-roinn, ann an àmhghar mòr agus ann am mi-chliu [b]; agus bhriſeadh balladh Ieruſaleim sìos, agus loiſgeadh a geatacha le teine.

4 Agus an uair a chuala mi na briathra ſo, ſhuidh mi sìos, agus ghuil mi, agus rinn mi bròn laithean *àraidh*, agus throiſg mi, agus rinn mi urnuigh am fianuis Dhé nan nèamh.

5 Agus thubhairt mi, Guidheam ort, a Thighearna, Dhé nan nèamh; an Dia mòr agus uamhaſach, a ghleidheas coimhcheangal agus tròcair dhoibhſan a ghràdhaicheas e, agus a choimheadas 'àitheanta;

6 Biodh do chluas a nis furachar, agus do ſhùilean foſgailte, chum as gu'n éiſd thu ri h-urnuigh t-òglaich, a *tha* mi a' deanamh a't' fhianuis a nis, a là agus a dh'oidhche, air ſon chloinn Iſraeil t-òglacha: agus *tha mi* 'g aideachadh pheacanna chloinn Iſraeil, a pheacaich ſinn a't' aghaidh: pheacaich araon miſe agus tigh m'athar.

7 Rinn ſinn gu ro-thruaillidh a'd' thaobh-ſa, agus cha do ghléidh ſinn na h-àitheanta, no na reachda, no na breitheanais a dh'àithn thu do t'òglach Maois.

8 Cuimhnich, guidheam ort, am focal a dh'àithn thu do t'òglach Maois, ag ràdh, *Ma* pheacaicheas ſibh, ſgapaidh miſe ſibh am meaſg nan cinneach.

9 Ach *ma* philleas ſibh a m'ionnſuidh, agus gu'n coimhid ſibh m'àitheantan, agus gu'n dean ſibh iad, ge do robh iad dhibh air an tilgeadh a mach do'n chuid as iomallaiche do nèamh, cruinnichidh mi as ſin iad, agus bheir mi iad do'n àit a thagh mi, a chur m'ainme an ſin.

10 A nis *is* iad ſo do ſheirbhiſich agus do ſhluagh, a ſhaor thu le d' mhòr chumhachd, agus le d' làimh thréin.

11 A Thighearna, guidheam ort, biodh do chluas a nis furachar ri h-urnuigh do ſheirbhiſich, agus ri h-urnuigh t'òglacha, le'm miann eagal t'ainme bhi orra: agus ſoirbhich, guidheam ort, le d' ſheirbhiſeach an diugh, agus thoir dha tròcair ann an ſealladh an duine ſo. A nis bha miſe a'm' ghille-cupain aig an righ.

CAIB. II.

AGUS tharladh ann am mìos Niſain, anns an fhicheadamh bliadhna do Artacſercſes an righ, *gu'n robh* fìon roimhe; agus ghabh mi am fìon, agus thug mi *e* do'n righ. Agus cha robh miſe *roimhe ſin* dubhach na fhianuis [c].

2 Uime ſin thubhairt an righ rium, C'ar ſon a tha do ghnùis dubhach [d], agus gun thu bhi tinn? cha ni *eile* ſo

a *Hilciah.* b *ſo thaſart.* c *cha bu ghnàth leamſa bhi dubhach na fhianuis; cha robh mi olc na fhianuis.* Eabh. c *olc.* Eabh.

ſo ach cràdh cridhe. Agus bha eagal
mòr orm ;
3 Agus thubhairt mi ris an righ,
Gu maireadh an righ gu bràth : c'ar
ſon nach biodh mo ghnùis dubhach,
an uair a tha 'm baile, àit-adhlacaidh
m'aithriche, air 'fhàſachadh, agus a
gheatachan air an caitheadh le teine ?
4 Agus thubhairt an righ rium,
Ciod e ſo a *tha* thu ag iarraidh ?
Agus rinn mi urnuigh ri Dia nan
nèamh :
5 Agus thubhairt mi ris an righ,
Ma'*s* maith leis an righ, agus ma
gheibh do ſheirbhiſeach deagh-ghean
a't'fhianais, gu'n cuireadh tu mi
dh'ionnſuidh Iudah, gu baile àit-
adhlacaidh m'aithriche, agus gu'n
tog mi e.
6 Agus thubhairt an righ rium,
agus a' bhan-righinn na ſuidhe làimh
ris, Cia fad an ùine bhios tu air do
thurus ; agus c'uin a philleas tu ? A-
gus bu toil leis an righ mo chur air
falbh, agus ſhuidhich mi àm ris.
7 Agus thubhairt mi ris an righ,
Ma'*s* toil leis an righ, thugar litrich-
ean dhomh a dh'ionnſuidh nan uach-
daran air an taobh thall do'n abhuinn,
chum gu'n cuir iad thairis mi gus an
dthig mi gu Iudah ;
8 Agus litir gu Aſaph fear-gleidh-
idh frìthe an righ, chum gu'n dthoir
e dhomh fiodh a dheanamh ſailthean
air ſon gheatachan na lùchairt a
bhuineas do'n tigh, agus air ſon
ballaidh a' bhaile, agus air ſon an
tighe d'an dthéid mi. Agus thug an
righ dhomh, a réir làimhe mhaith mo
Dhé orm.
9 Agus thàinig mi dh'ionnſuidh
nan uachdaran air an taobh eile do'n
abhuinn, agus thug mi dhoibh litrich-
ean an righ. A nis chuir an righ
maille rium ceannardan do'n armailt
agus marc-ſhluagh.
10 An uair a chuala Sanbalat an
t-Horonach, agus Tobiah an ſeirbhiſ-
each an t-Amonach *e*, chuir e doil-
gheas mòr orra gu'n d'thàinig duine
a dh'iarraidh leas chloinn Iſraeil.
11 Agus thàinig mi gu h-Ieruſa-
lem, agus bha mi 'n ſin tri laithean.
12 Agus dh'éirich mi ſan oidhche,
mi féin agus beagan dhaoine maille
rium ; ach cha d'innis mi do dhuine
ciod a chuir mo Dhia ann am chridhe
a dheanamh ann an Ieruſalem : agus
cha *robh* ainmhidh maille rium, ach
an t-ainmhidh air an do mharcaich mi.
13 Agus chaidh mi mach ſan
oidhche air geatadh a' ghlinne, agus fa
chomhair tobair an dragoin, agus gu
geatadh an aolaich, agus ghabh mi
ſealladh do bhallachaibh Ieruſaleim,
a *bha* air am briſeadh ſios, agus *d'a*
geatachaibh *a* bha air an caitheadh
le teine.
14 Agus chaidh mi air m'aghaidh
gu geatadh an tobair, agus gu lochan
an righ : ach cha *robh* àit ann do'n
ainmhidh *a bha* fodham gu dol thai-
ris.
15 An ſin chaidh mi ſuas ſan
oidhche làimh ris an t-ſruth, agus
ghabh mi ſealladh do'n bhalladh, agus
thionndaidh mi air m'ais, agus chaidh
mi ſteach air geatadh a' ghlinne, a-
gus phill mi.
16 Agus cha robh fios aig na riagh-
lairibh c'àit an deachaidh mi, no ciod
a rinn mi, agus cha d'innis mi *e* do
na h-Iudhachaibh, no do na ſagart-
aibh, no do na h-ard uaiſlibh, no do
na riaghlairibh, no do'n chuid eile a
rinn an obair.
17 Agus thubhairt mi riu, *Tha*
ſibh a' faicinn a' chruaidhchais anns
am bheil ſinn, mar a ta Ieruſalem air
a fàſachadh, agus a geatachan air an
loſgadh le teine : thigibh agus tog-
amaid balladh Ieruſaleim, chum as
nach bi ſinn ni's mò nar maſladh.
18 Agus dh'innis mi dhoibh a
thaobh làimhe mo Dhé, a *bha* maith
orm, agus mar an ceudna briathran
an righ a labhair e rium. Agus
thubhairt iad, Earamaid agus tog-
amaid. Agus neartaich iad an làmh-
an chum maith.
19 Ach an uair a chuala Sanba-
lat an t-Horonach, agus Tobiah an
ſeirbhiſeach an t-Amonach, agus
Geſem an t-Arabach *e*, rinn iad gàire
fanoid oirnn, agus rinn iad tàir
oirnn, agus thubhairt iad, Ciod an
ni ſo a *tha* ſibh a' deanamh ? an dean
ſibh ceannairc an aghaidh an righ ?
20 An ſin fhreagair mi iad, agus
thubhairt mi riu, Dia nan nèamh,
ſoirbhichidh eſan leinn : a chionn
gur ſinne a ſheirbhiſich, éiridh ſinn

agus togaidh ſinn: ach agaibhſe cha *'n'eil* cuibhrionn, no còir, no cuimhneachan ann an Ieruſalem.

CAIB. III.

AGUS dh'éirich Eliaſib an t-ard ſhagart maille r'a bhraithribh na ſagairt, agus thog iad geatadh nan caorach: naomhaich iad e, agus chuir iad ſuas a chomhlachan: eadhon gu ruig tùr Mheah naomhaich iad e, agus gu ruig tùr Hananeeil.

2 Agus làimh ris-ſan thog fir Ierichо: agus làimh riu-ſan [a] thog Sacur mac Imri.

3 Ach geatadh an éiſg thog mic Haſenaah: leag iad a ſhailthean, agus chuir iad ſuas a chomhlachan, a ghlaſan, agus a chroinn.

4 Agus làimh riu-ſan leaſaich [b] Meremot mac Uriah, mhic Chois: agus làimh ris-ſan [c] leaſaich Meſulam mac Bherechiah, mhic Mheſeſabeil: agus làimh riu-ſan leaſaich Sadoc mac Bhaanah.

5 Agus làimh riu-ſan leaſaich na Tecoaich: ach cha do chuir an ard uaiſlean am muineal ri ſeirbhis an Tighearna.

6 Agus an ſeann gheatadh leaſaich Iehoiada mac Phaſeah, agus Meſulam mac Bheſodeiah: leag iad a ſhailthean, agus chuir iad ſuas a chomhlachan, agus a ghlaſan, agus a chroinn.

7 Agus làimh riu-ſan leaſaich Melatiah an Gibeonach, agus Iadon am Meronotach, fir Ghibeoin agus Mhiſpah, gu ruig rìgh-chathair an uachdarain air an taobh ſo do'n abhuinn.

8 Làimh ris-ſan leaſaich Udſiel mac Harhaiah, do na h-òr-cheardaibh: agus làimh ris-ſan leaſaich Hananiah, mac *aoin* do na léighibh, agus neartaich iad Ieruſalem gu ruig am balladh leathann.

9 Agus làimh riu-ſan leaſaich Rephaiah mac Huir, riaghlair lethroinne [d] Ieruſaleim.

10 Agus làimh ris-ſan [e] leaſaich Iedaiah mac Harumaiph, eadhon fa chomhair a thighe: agus làimh ris-ſan leaſaich Hatus mac Haſabniah.

11 An t-ath-thomhas leaſaich Malchiah mac Harim, agus Haſub mac Phahat-mhoaib, agus tùr nan àmhuinn.

12 Agus làimh riſ-ſan leaſaich Salum mac Haloheis, riaghlair lethroinne Ieruſaleim, e féin agus a nigheana.

13 Geatadh a' ghlinne leaſaich Hanun, agus luchd-àiteachaidh Shanoah: thog iad e, agus chuir iad ſuas a chomhlachan, a ghlaſan, agus a chroinn, agus mìle làmh-choille do'n bhalladh, gu ruig geatadh an aolaich.

14 Ach geatadh an aolaich leaſaich Malchiah mac Rechaib, riaghlair roinne Bhet-hacerem: thog ſe e, agus chuir e ſuas a chomhlachan, a ghlaſan, agus a chroinn.

15 Ach geatadh an tobair leaſaich Salum mac Chol-hoſeh, riaghlair roinne Mhiſpah: thog ſe e, agus chuir e dìon air, agus chuir e ſuas a chomhlachan, a ghlaſan, agus a chroinn, agus balladh lochain Shiloah làimh ri lios an righ, agus gu ruig na ceuman a' dol ſios o bhaile Dhaibhidh.

16 Na dhéigh-ſan leaſaich Nehemiah mac Aſbuic, riaghlair lethroinne Bhet-ſuir, gu ruig fa chomhair àitean-adhlacaidh Dhaibhidh, agus gu ruig an lochan a rinneadh, agus gu ruig Bet-agbarim [f].

17 Na dhéigh-ſan leaſaich na Lebhithich, Rehum mac Bhani: làimh ris-ſan leaſaich Haſabiah, riaghlair leth-roinne Cheilah, na roinn féin.

18 Na dhéigh-ſan leaſaich am bràithrean, Babhai mac Henadaid, riaghlair leth-roinne Cheilah.

19 Agus làimh-ris-ſan leaſaich Eſer mac Ieſua, riaghlair Mhiſpah, an t-ath-thomhas fa chomhair an dol ſuas do'n arm-thigh aig an tionndadh.

20 Na dhéigh-ſan leaſaich [g] Baruch mac Shabai an t-ath-thomhas, o'n tionndadh gu ruig dorus tighe Eliaſib an àrd-ſhagairt.

21 Na dhéigh-ſan leaſaich Meremot

a *ris-ſan.* b *chàirich.* c *riu-ſan.* d *tìre.* e *riu-ſan.* *tigh nan gaiſgeach.* g *leaſaich gu dìchiollach.*

moſ mac Uriah, mhic Acois[a], an
t-ath-thomhas, o dhorus tighe Elia-
ſib gu ruig ceann tighe Eliaſib.
22 Agus na dhéigh-ſan leaſaich
na ſagairt, daoine a' chòmhnaird.
23 Nan déigh-ſan[b] leaſaich Ben-
iamin, agus Haſub, fa chòmhair an
tighe: na dhéigh-ſan leaſaich Aſa-
riah mac Mhaaſeiah, mhic Ananiah,
laimh r'a thigh.
24 Na dhéigh-ſan leaſaich Binui,
mac Henadaid, an t-ath-thomhas, o
thigh Aſariah gu ruig an tionndadh,
agus gu ruig an oiſinn:
25 Palal mac Udſai, fa chomhair
an tionndaidh, agus an tùir a tha dol
a mach o thigh ard an righ, a *bha*
làimh ri cùirt a' phrìoſuin: na dhéigh-
ſan Pedaiah mac Pharois.
26 Mar an ceudna na Netinich *a*
bha chòmhnuidh ann an Ophel, gu
ruig fa chomhair geataidh an uiſge
a laimh na h-airde 'n ear, agus an
tùir a tha dol a mach.
27 Nan déigh-ſan leaſaich na Te-
coaich an t-ath-thomhas, fa chomh-
air an tùir mhòir a tha dol a mach,
gu ruig balladh Opheil.
28 O thaobh ſhuas geataidh nan
each leaſaich na ſagairt, gach aon fa
chomhair a thighe.
29 Nan déigh-ſan[c] leaſaich Sa-
doc mac Imeir, fa chomhair a thighe:
agus na dhéigh-ſan leaſaich Semaiah,
mac Shechaniah, fear gleidhidh an
doruis an ear.
30 Na dhéigh-ſan leaſaich Hana-
niah, mac Shelemiah, agus Hanun,
ſeathadh mac Shalaiph, an t-ath-
thomhas: na dhéigh-ſan leaſaich Me-
ſulam mac Bherechiah, fa chomhair
a ſheòmair féin.
31 Na dheigh-ſan leaſaich Mal-
chiah, mac an òr-cheird, gu àit nan
Netineach, agus nan ceannaiche, fa
chomhair geataidh Mhiphcaid, agus
gu dol ſuas na h-oiſinne.
32 Agus o[d] dhol ſuas na h-oiſ-
inne gu geatadh nan caorach, leaſ-
aich na h-òr-cheird agus na ceann-
aichean.

CAIB. IV.

AGUS an uair a chuala Sanbalat
gu'n *robh* ſinn a' togail a' bhall-
aidh, bha fearg air, agus bha e ann
an corruich ro-mhòir, agus rinn e
fanoid air na h-Iudhachaibh.
2 Agus labhair e 'm fianuis a
bhràithrean agus armailte Shamaria,
agus thubhairt e, Ciod a ni na h-Iudh-
aich anmhunn[e] ſo? an daingnich
ſiad iad féin? an iobair iad? an
crìochnaich iad ann an latha? an
tog iad ſuas a rìs[f] na clachan as na
dùnaibh luaithre a chaidh loſgadh?
3 Agus *bha* Tobiah an t-Amonach
làimh ris, agus thubhairt e, Eadhon
an *ni* a *tha* iad a' togail, ma théid
ſionnach ſuas, briſidh e sìos am ball-
adh cloiche.
4 Eiſd, O ar Dia, oir tha tàir air
a dheanamh oirnn, agus tionndaidh
am maſladh air an ceann féin, agus
tabhair iad nan cobhartach ann an tìr
a' bhraighdeanais:
5 Agus na còmhdaich an euceart,
agus na dubhar a mach am peacadh[g]
as t'fhianuis; oir bhroſnuich iad *thu*
gu feirg an làthair an luchd-togail.
6 Agus thog ſinn am balladh, agus
cheangladh am balladh uile ri chéile
gu ruig a leth: oir bha toil aig an
t-ſluagh obair a dheanamh.
7 Ach an uair a chuala Sanbalat
agus Tobiah, agus na h-Arabaich,
agus na h-Amonaich, agus na h-Aſ-
dodaich, gu'n robh uile bhallacha Ie-
ruſaleim 'gan cur ſuas, gu'n do thòiſ-
ich na bearnan ri bhi air an dùnadh,
an ſin bha fearg mhòr orra.
8 Agus chuir iad uile an comhair-
le ri chéile iad a theachd a chogadh
an aghaidh Ieruſaleim, agus g'a bhac-
adh.
9 Ach rinn ſinne urnuigh r'ar
Dia, agus ſhuidhich ſinn freiceadan
nan aghaidh a là agus a dh'oidhche
fa'n comhair.
10 Agus thubhairt Iudah, Tha
neart luchd-iomchair nan eallach air
fàilingeadh, agus mòran luaithre ann,

a *Chois.* b *Na dhéigh-ſan.* c *Na dhéigh-ſan.* d *eadar.* Eabh.
e *an leig iad leo?* f *an ath-bheothaich iad.* g *Peacanna.*

air chor as nach urradh ſinn am ball-
adh a thogail.
11 Agus thubhairt ar naimhdean,
Cha bhi fios aca, agus cha 'n fhaic
iad, gus an dthig ſinn a ſtigh nam
meadhon, agus gu marbh ſinn iad,
agus gu'n cuir ſinn ſtad air an obair.
12 Agus an uair a thàinig na
h-Iudhaich a bha chòmhnuidh làimh
riu, thubhairt iad ruinn deich uair-
ean, As gach àit o'm pill ſibh d'ar
n-ionnſuidh-ne, *bithidh iad oirbh*[a].
13 Uime ſin ſhuidhich mi anns na
h-àitibh a b'iſle air cùlaobh a' bhall-
aidh *agus* air na h-àitibh a b'airde,
ſhuidhich mi eadhon an ſluagh a réir
an teaghlaichean le'n cloidhibh, le'n
ſleaghannaibh, agus le'm boghan-
naibh.
14 Agus dh'amhairc, agus dh'éir-
ich mi, agus thubhairt mi ris na h-ard
uaiſlibh, agus ris na riaghlairibh, a-
gus ris a' chuid eile do'n t-ſluagh, Na
biodh eagal oirbh rompa: cuimh-
nichibh an Tighearna mòr agus uamh-
aſach, agus cogaibh[b] air ſon bhur
bràithre, bhur mac, agus bhur nigh-
eana, bhur ban, agus bhur tighean.
15 Ach an uair a chual ar naimhd-
ean gu'n d'fhuair ſinn fios air, agus
a thug Dia an comhairle gu neo-ni,
phill ſinn uile dh'ionnſuidh a' bhall-
aidh, gach aon a dh'ionnſuidh 'oibre
féin.
16 Agus o'n àm ſin a mach dh'oib-
rich leth m'òglach-ſa anns an obair,
agus chum an leth eile dhiubh na
ſleaghanna, na ſgiathan, agus na
boghanna, agus na lùirichean; agus
bha na riaghlairean air cùlaobh uile
thighe Iudah.
17 Dh'oibrich iadſan a thog air
a' bhalladh, agus iadſan a ghiùlain
eallacha, maille riu-ſan a luchdaich,
gach aon le aon làimh anns an obair,
agus leis an *làimh* eile chum e gath[c].
18 Agus *bha* aig gach aon do'n
luchd-togail a chlaidheamh crioſ-
raichte air a leis, an uair a thog iad:
agus *bha* eſan a ſhéid an trompaid
làimh riumſa.
19 Agus thubhairt mi ris na h-ard
uaiſlibh, agus ris na riaghlairibh, a-
gus ris a' chuid eile do'n t-ſluagh,
Tha'n obair mòr agus farſaing[d], a-
gus tha ſinn air ar dealachadh air a'
bhalladh gach aon fada o chéile.
20 Ge b'e àit anns an cluinn ſibh
fuaim na trompaide, cruinnichibh an
ſin d'ar n-ionnſuidh-ne: cogaidh ar
Dia air ar ſon.
21 Agus ſhaothraich ſinn anns an
obair: agus chum leth dhiubh na
ſleaghanna o éirigh na maidne gus am
facas[e] na rionnagan.
22 Mar an ceudna ſan àm ſin
thubhairt mi ris an t-ſluagh, Fanadh
gach aon maille r'a òglach ann an
Ieruſalem, chum gu'm b'i iad nam
freiceadan dhuinn ſan oidhche, agus
ſan là nan oibrichibh.
23 Agus cha do chuir miſe no mo
bhràithrean, no m'òglaich, no fir an
fhreiceadain a lean mi, dhinn ar n-eud-
ach; *ach a mhàin* gu'n do chuir gach
duine dheth e air ſon 'ionnlaid[f].

CAIB. V.

AGUS bha gàir mhòr aig an
t-ſluagh, agus aig am mnaibh,
an aghaidh am bràithre nan Iudhach.
2 Agus bha ann a thubhairt, *Le*
ar mic agus ar nigheana *tha* ſinne
lìonmhor; agus gabhaidh ſinn sìol
air an ſon, chum gu'n ith ſinn agus
gu'm bi ſinn beo.
3 Agus bha ann a thubhairt, Ar
fearann, agus ar fìon-lioſan, agus ar
tighean bheir ſinn an geall, chum
gu'm faigh ſinn sìol anns a' ghorta.
4 Agus bha ann a thubhairt, Ghabh
ſinn airgiod an coingheall air ſon cìſe
an righ *air* ar fearann agus ar fìon-
lioſaibh.
5 Agus a nis mar fheoil ar bràith-
re *tha* ar feoil-ne, mar am mic-ſan
ar mic-ne; ach feuch, *tha* ſinn a'
toirt thairis ar mac agus ar nigheana
gu bhi nan tràillibh, agus tha *cuid*
d'ar nigheanaibh air an toirt thairis
a cheana, agus gun chomas againn
am fuaſgladh, an uair a ta ar fear-
ann agus ar fìon-lioſan aig daoinibh
eile.

6 Agus

a *O gach uile àit d'an tionndaidh ſibh*, bithidh iad *oirnn*. b *còmbraig-ibh*. c *ball-tilgidh*. d *ſgaoilteach*. e *an d'eirich*. f aig *gach duine* bha *a ghath* agus *uiſge*.

6 Agus bha fearg mhòr orm an
uair a chuala mi an gàir, agus na
briathra ſin.
7 Agus chuir mi mo chomhairle
ri m' chridhe fein, agus chronaich mi
na h-ard uaiſlean, agus na riaghlair-
ean, agus thubhairt mi riu, *Tha* gach
aon agaibh a' togail aindlighe [a] o a
bhràthair. Agus chuir mi coimh-
chruinneachadh mòr nan aghaidh.
8 Agus thubhairt mi riu, Shaor
ſinne a reir ar comais ar bràithre na
h-Iudhaich a reiceadh ris na cinnich,
agus an reic ſibhſe mar an ceudna
bhur bràithre, agus an reicear iad
ruinn fein? Agus bha iad nan toſd,
agus cha d'fhuair iad ni air bith ri
ràdh.
9 Mar an ceudna thubhairt mi,
Cha mhaith an ni a *tha* ſibh a' dean-
amh: nach buineadh dhuibh gluaſad
ann an eagal ar Dé, air ſon maſlaidh
nan cinneach ar naimhde?
10 Dh'fheudainn-ſe cuideachd, mo
bhràithre, agus m'òglaich, airgiod a-
gus siol a thogail uatha. Leigeam-
aid dhinn, guidheam oirbh, an t-ain-
dlighe ſo [b].
11 Aiſigibh dhoibh, guidheam
oirbh, mar air an latha 'n diugh, am
fearann, am fion-lioſan, an lioſan-
olaidh, agus an tighean; mar an
ceudna *cuid* do'n airgiod [c], agus do'n
t-siol, do'n fhìon agus do'n oladh, a
tha ſibh a' togail uatha.
12 Agus thubhairt iadſan, Aiſig-
idh ſinn, agus cha'n iarr ſinn uatha:
mar ſin ni ſinn mar *a ta* thu 'g ràdh.
An ſin ghairm mi na ſagairt, agus
ghabh mi mionnan diubh gu'n dean-
adh iad a réir a' ghealladh ſo:
13 Mar an ceudna chrath mi
m'uchd, agus thubhairt mi, Mar ſo
crathadh Dia gach duine nach coimh-
lion an gealladh ſo, a mach as a thigh,
agus as 'obair, eadhon mar ſo crathar
a mach agus falmhaichear e. Agus
thubhairt an coimhthional uile, A-
men, agus mhol iad an Tighearn.
Agus rinn an ſluagh a réir a' gheal-
laidh ſo.
14 Os bàrr, o'n là air an d'thugadh
ordugh dhomh mi bhi m'uachdaran
orra ann an tìr Iudah, o'n fhichead-
amh bliadhna, eadhon gus an dara
bliadhna deug thar fhichead do Ar-
tacſercſes an righ, dà bhliadhna dheug,
cha d'ith miſe no mo bhràithrean aran
an uachdarain.
15 Ach bha na ceud uachdarain a
bha romham trom air an t-ſluagh, a-
gus ghabh iad uatha aran agus fion,
a thuilleadh air dà fhichead ſecel [d]
airgid; rinn eadhon an òglaich ain-
tighearnas air an t-ſluagh: ach cha
d'rinn miſe mar ſin air eagal Dé.
16 Agus mar an ceudna ann an
obair a' bhallaidh ſo bhuanaich mi,
agus cha do cheannaich ſinn fearann,
agus chruinnicheadh m'oglaich uile
an ſin a dh'ionnſuidh na h-oibre.
17 Agus *bha* aig mo bhord ceud
gu leth Iudhach agus riaghlair, a
bhàrr orra-ſan a thàinig d'ar n-ionn-
ſuidh o na cinnich a *ta* mu'n cuairt
oirnn.
18 Agus *ſo* na dheaſaicheadh air
ſon gach latha, aon damh, sè caor-
aich thaghta; mar an ceudna dheaſ-
aicheadh eoin dhomh, agus aon uair
anns na deich laithibh pailteas do
gach *gnè* [e] fiona: gidheadh air ſon
ſo cha d'iarr mi aran an uachdarain,
a chionn gu'n robh an daorſa trom
air an t-ſluagh ſo.
19 Cuimhnich ormſa, mo Dhia,
chum maith, *a thaobh* gach *ni* a rinn
mi air ſon an t-ſluaigh ſo.

CAIB. VI.

ANIS an uair a chuala Sanbalat,
agus Tobiah, agus Geſem an
t-Arabach, agus a' chuid eile d'ar
naimhdibh gu'n do thog mi am ball-
adh, agus nach d'fhagadh briſeadh
ann, (ge d' nach do chuir mi ſuas
ſan àm ſin comhlachan air na geat-
aibh,)
2 Chuir Sanbalat agus Geſem
teachdairean a m' ionnſuidh, ag radh,
Thig, agus coinnicheamaid a chéile
ann an Chephirim [f] ann an comh-
nard Ono: ach ſmuainich iadſan air
olc a dheanamh orm.

 3 Agus

a *ocair.* b *an eallach ſo chur orra.* c *mar an ceudna an ceudamh cuid do'n airgiod.* d *ghabh iad air ſon arain agus fiona o gach aon dà fhichead ſecel.* e ſeòrta. f *ann an* aon do na *bailtibh beaga.*

3 Agus chuir mi teachdairean d'an ionnſuidh, ag ràdh, *Tha* mi a' deanamh oibre mòire, agus cha'n urrainn mi dol sìos: c'ar ſon a ſguireadh an obair, an uair a dh'fhàgainnſe i, agus a rachainn sìos do'r n-ionnſuidh?

4 Gidheadh chuir iad *teachdairean* a m' ionnſuidh air an dòigh ſo ceithir uairean; agus fhreagair mi iad air an dòigh cheudna.

5 An ſin chuir Sanbalat a m' ionnſuidh air an dòigh ſo an cùigeadh uair 'òglach féin, agus litir fhoſgailte na làimh,

6 Anns an robh ſcrìobhta; Am meaſg nan cinneach tha e air 'aithris, agus tha Geſem [a] ag ràdh, *gu bheil* thuſa agus na h-Iudhaich a' ſmuaineachadh air ceannarc a dheanamh: uime ſin *tha* thu a' togail a' bhallaidh, a chum gu'm bi thu a'd' righ orra a réir nam briathair ſo.

7 Agus mar an ceudna dh'orduich thu fàidhean a ghairm mu d' thimchioll ann an Ieruſalem, ag ràdh, *Is* righ *e* ann an Iudah: agus a nis aithriſear do'n righ a réir nam briathar ſo. A nis ma ta thig, agus cuireamaid ar comhairle ri chéile.

8 An ſin chuir mi *fios* d'a ionnſuidh, ag ràdh, Cha d'rinneadh nithe ſam bith mar a ta thu 'g ràdh, ach is ann as do chridhe féin *a tha* thu 'gan dealbh.

9 Oir *bha* iad uile a cur eagail oirnn, ag ràdh, Anmhunnaichear an làmhan o'n obair, agus cha deanar i: ach a nis neartaich miſe [b] mo làmhan.

10 An ſin chaidh mi ſteach do thigh Shemaiah, mhic Dhelaiah, mhic Mhehetabeeil, agus e air a dhruideadh ſuas; agus thubhairt e, Coinnicheamaid a chéile ann an tigh Dhé, ann am meadhon an teampuill, agus dùineamaid dorſan an teampuill; oir thig iad g'ad mharbhadh, eadhon anns an oidhche thig iad g'ad mharbhadh.

11 Agus thubhairt mi, An teich duine mar *a ta* miſe? agus co mar *a ta* miſe a rachadh a ſteach do'n teampuil, a chum gu maireadh e beò? Cha d'théid mi ſteach.

12 Agus feuch, dh'aithnich mi nach do chuir Dia uaith e, ach gu'n do labhair e an fhàidheadaireachd ſo a'm' aghaidh: oir thug Tobiah agus Sanbalat duais dha.

13 Air an aobhar ſo thugadh duais dha, chum gu'm biodh eagal orm-ſa, agus gu'n deanainn mar ſo, agus gu'm peacaichinn, agus gu'm biodh fàth droch ſgeoil aca, chum gu maſlaicheadh iad mi.

14 Cuimhnich thuſa, mo Dhia, air Tobiah agus Sanbalat a réir an oibre ſin, agus mar an ceudna air a' bhan-fhàidh Noadiah, agus a' chuid eile do na fàidhibh leis am b'àill eagal a chur orm.

15 Ach chrìochnaicheadh am balladh air a' chùigeadh *la* fichead do'n *mhìos* Elul, ann an dà latha deug agus dà fhichead.

16 Agus an uair a chual ar naimhdean uile *e*, agus a chunnaic na cinnich uile a *bha* mu'n cuairt duinn *e*, thilgeadh gu mòr sìos iad nan ſùilibh féin; oir dh'aithnich iad gu'm b'ann le'r Dia-ne a rinneadh an obair ſo.

17 Os bàrr, anns na laithibh ſin chuir ard uaiſlean Iudah mòran litriche gu Tobiah, agus thàinig *litriche* Thobiah d'an ionnſuidh-ſan:

18 Oir *bha* mòran ann an Iudah air toirt am mionnan da, a chionn gu'*m bu* chliamhuin e do Shechaniah mac Arah; agus gu'n do ghabh Iohanan a mhac nighean Mheſulaim, mhic Bherechiah, *na mnaoi.*

19 Mar an ceudna dh'aithris iad a dheagh bhuaghanna [c] a'm' fhianuiſ, agus dh'innis iad mo bhriathra-ſa dha: agus chuir Tobiah litriche uaithe gu eagal a chur orm.

CAIB. VII.

A NIS an uair a thogadh am balladh, agus a chuir mi ſuas na comhlachan, agus a dh'orduicheadh na dorſairean, agus an luchd-ſeinn, agus na Lebhithich,

2 Thug mi àithne do m' bhràthair Hanani, agus Hananiah uachdaran na lùchairt, a thaobh Ieruſaleim, (oir

bha

a *Gaſmu.* Faic. r. 1.
b *a nis, uime ſin neartaich,* a Dhé.
c *ghnìomhara.*

bha e na dhuine firinneach, agus eagal Dé air os cionn mhòrain,)

3 Agus thubhairt mi riu, Na fosgailear geatacha Ierusaleim, gus am fàs a' ghrian teth; agus ag seasamh doibh fathast aig làimh, druideadh iad na comhlachan, agus crannadh iad *iad*: agus shuidhich mi[a] freiceadain do luchd-àiteachaidh Ierusaleim, gach aon na fhreiceadan, agus gach aon fa chomhair a thighe féin.

4 A nis *bha*'m baile farsaing agus mòr: ach *bha*'n sluagh tearc ann, agus cha *robh* na tighean air an togail.

5 Agus chuir mo Dhia ann am chridhe gu'n cruinnichinn ri chéile na h-ard uaislean, agus na riaghlairean, agus an sluagh, gu bhi air an àireamh a réir an ginealach: agus fhuair mi leabhar ginealaich[b] na muinntir a thàinig a nìos an toiseach, agus fhuair mi sgrìobhta ann,

6 *Is* iad so clann na mòr-roinne, a chaidh suas do na braighdibh, dhiubhsan a thugadh air falbh, a thug Nebuchadnesar righ Bhabiloin air falbh leis, agus a phill gu h-Ierusalem agus gu Iudah, gach fear d'a bhaile féin;

7 A thàinig maille ri Serubabel, Iesua, Nehemiah, Asariah, Raamiah, Nahamani, Mordecai, Bilsan[c], Misperet, Bigbhai, Nehum, Baanah.

AIREAMH DHAOINE SLUAIGH ISRAEIL.

8 Mic Pharois, dà mhìle ceud tri fichead agus a dhà-dheug.

9 Mic Shephatiah, tri cheud tri fichead agus a dhà-dheug.

10 Mic Arah, sè ceud dà fhichead agus a dhà-dheug.

11 Mic Phahat-mhoaib, do chloinn Iesua agus Ioaib, dà mhìle ochd ceud agus ochd-deug.

12 Mic Elaim, mìle dà cheud leth-cheud agus a ceithir.

13 Mic Shatu, ochd ceud dà fhichead agus a cùig.

14 Mic Shacai, seachd ceud agus tri fichead.

15 Mic Bhinui, sè ceud dà fhichead agus a h-ochd.

16 Mic Bhebai, sè ceud fichead agus a h-ochd.

17 Mic Asgaid, dà mhìle tri cheud fichead agus a dhà.

18 Mic Adonicaim, sè ceud tri fichead agus a seachd.

19 Mic Bhigbhai, dà mhìle tri fichead agus a seachd.

20 Mic Adin, sè ceud leth-cheud agus a cùig.

21 Mic Ateir o Heseciah, ceithir fichead agus ochd-deug.

22 Mic Hasuim, tri cheud fichead agus a h-ochd.

23 Mic Bhesai, tri cheud fichead agus a ceithir.

24 Mic Hariph, ceud agus a dhà-dheug.

25 Mic Ghibeoin, ceithir fichead agus cùig-deug.

26 Fir Bhetleheim agus Netophah, ceud ceithir fichead agus a h-ochd.

27 Fir Anatoit, ceud fichead agus a h-ochd.

28 Fir Bhet-asmabheit, dà fhichead agus a dhà.

29 Fir Chiriat-iearim, Chephirah, agus Bheeroit, seachd ceud dà fhichead agus a tri.

30 Fir Ramah agus Ghaba, sè ceud fichead agus a h-aon.

31 Fir Mhichmais, ceud agus fichead agus a dhà.

32 Fir Bheteil agus Ai, ceud fichead agus a tri.

33 Fir Nebo-air[d], leth-cheud agus a dhà.

34 Mic Elaim-air[e], mìle dà cheud leth-cheud agus a ceithir.

35 Mic Harim, tri cheud agus fichead.

36 Mic Iericho, tri cheud dà fhichead agus a cùig.

37 Mic Loid, Hadid, agus Ono, seachd ceud fichead agus a h-aon.

38 Mic Shenaah, tri mìle naoi ceud agus deich thar fhichead.

39 Na sagairt: Mic Iedaia, do thigh Iesua, naoi ceud tri fichead agus tri-deug.

40 Mic

a *suidhich thusa.* b *sloinnteireachd.* c Faic Esra, Caib. II.
d *Nebo eile.* e *Elaim-eile.*

40 Mic Imeir, mìle leth-cheud agus a dhà.

41 Mic Phasuir, mìle dà cheud dà fhichead agus a seachd.

42 Mic Harim, mìle agus seachd-deug.

43 Na Lebhithich: Mic Iesua agus[a] Chadmieil, do chloinn Hodebhah, tri fichead agus ceithir-deug.

44 An luchd-seinn: Mic Asaiph, ceud dà fhichead agus a h-ochd.

45 Na dorsairean: Mic Shaluim, mic Ateir, mic Thalmoin, mic Acuib, mic Hatita, mic Shobai, ceud agus ochd-deug thar fhichead.

46 Na Netinich: Mic Shiha, mic Hasupha, mic Thabaoit,

47 Mic Cherois, mic Shia, mic Phadoin,

48 Mic Lebana, mic Hagaba, mic Shalmai,

49 Mic Hanain, mic Ghideil, mic Ghahair,

50 Mic Reaiah, mic Resin, mic Necoda,

51 Mic Ghadsaim, mic Udsa, mic Phaseah,

52 Mic Bhesai, mic Mheunim, mic Nephisesim,

53 Mic Bhacbuic, mic Hacupha, mic Harhuir,

54 Mic Bhasluit, mic Mhehida, mic Harsa,

55 Mic Bharcois, mic Shisera, mic Thamah,

56 Mic Nesa, mic Hatipha.

57 Mic shheirbhiseach Sholaimh: Mic Shotai, mic Shophereit, mic Pherida,

58 Mic Iaala, mic Dharcoin, mic Ghideil,

59 Mic Shephatiah, mic Hatil, mic Phochereit o Shebaim, mic Amoin:

60 Na Netinich uile, agus clann shheirbhiseach Sholaimh, tri cheud ceithir fichead agus a dhà-dheug.

61 Agus so iadsan a chaidh suas o Thelmela, Telharsa, Cherub, Adon agus Imer; ach cha b'urrainn iad tigh an athar a nochdadh agus an sliochd, am *b*'ann do Israel iad:

62 Mic Dhelaiah, mic Thobiah, mic Necoda, sè ceud dà fhichead agus a dhà.

63 Agus do na sagartaibh: Mic Habaiah, mic Chois, mic Bharsillai, a ghabh bean do nigheanaibh Bharsillai a' Ghileadaich, agus a ghoireadh air an ainm.

64 Dh'iarr iadsan an clàr-sgrìobhaidh nam measg-san a bha air an àireamh a rèir an ginealach, ach cha d'fhuaradh e: uime sin ghearradh as o'n t-sagartachd iad[b].

65 Agus thubhairt an Tirsata riu, nach feudadh iad itheadh do na nithibh ro-naomha, gus an seasadh sagart suas le Urim agus Tumim.

66 An coimhthional uile cuideachd, dà fhichead agus dà mhìle tri cheud agus tri fichead;

67 A thuilleadh air an òglaich agus am banoglaich, d'an robh ann seachd mìle tri cheud agus seachd-deug thar fhichead, agus dhiubhsan dà cheud agus dà fhichead agus a cùig nam fearabh agus nam mnaibh-seinn.

68 An eich, seachd ceud agus sè-deug thar fhichead: am muileidean, dà cheud dà fhichead agus a cùig:

69 [An] càmhail, ceithir cheud agus cùig-deug thar fhichead: [an] asail, sè mìle seachd ceud agus fichead.

70 Agus thug cuid do chinn nan aithriche seachad air son na h-oibre. Thug an Tirsata seachad do'n ionmhas, mìle darcon òir, leth-cheud cuach, cùig ceud agus deich thar fhichead culaidh sagairt.

71 Agus thug *cuid* do chinn nan aithriche seachad do ionmhas na h-oibre, fichead mìle darcon òir, agus dà mhìle agus dà cheud pund airgid.

72 Agus *so* na thug a' chuid eile do'n t-sluagh: fichead mìle darcon òir, agus dà mhìle pund airgid, agus tri fichead agus seachd culaidh sagairt.

73 Agus ghabh na sagairt agus na Lebhithich, agus na dorsairean, agus an luchd-seinn, agus *cuid* do'n t-sluagh, agus na Netinich, agus Israel uile, còmhnuidh

a Esra, Caib. II. r. 40. b Faic. Esra, Caib. II. r. 62.

còmhnuidh nam bailtibh; agus an uair a thàinig an ſeachdamh mìos, *bha* clann Iſraeil nam bailtibh.

CAIB. VIII.

AGUS chruinnich an ſluagh uile an ceann a chéile mar aon duine do'n t-ſràid a *tha* ſa chomhair geataidh an uiſge; agus dh'iarr iad air [a] Eſra an ſcrìobhuiche e thoirt a làthair leabhair lagha Mhaois, a dh'àithn an Tighearna do Iſrael.

2 Agus thug Eſra an ſagart an lagh an làthair a' choimhthionail, araon fhear agus bhan, agus gach uile a thuigeadh 'nuair a chluinneadh iad *e*, air a' cheud là do'n t-ſeachdamh mìos.

3 Agus leugh e ann ſa chomhair na ſràide a *tha* ſa chomhair geataidh an uiſge, o mhaduinn gu meadhon-là, an làthair nam fear agus nam ban, agus na muinntir a thuigeadh: agus *bha* cluaſan an t-ſluaigh uile ri leabhar an lagha.

4 Agus ſheas Eſra an ſcrìobhuiche air crannaig fhiodha, a rinn iad air ſon a' ghnothuich, agus làimh ris ſheas Matitiah agus Sema, agus Anaiah, agus Uriah, agus Hilciah, agus Maaſeiah, air a làimh dheis; agus air a làimh chlì Pedaiah, agus Miſael, agus Malchiah, agus Haſum, agus Haſbadana, Sechariah [agus] Meſulam.

5 Agus dh'fhoſgail Eſra an leabhar ann an ſealladh an t-ſluaigh uile, oir bha e os cionn an t-ſluaigh uile; agus an uair a dh'fhoſgail ſe e, ſheas an ſluagh uile.

6 Agus bheannaich Eſra an Tighearn, an Dia mòr: agus fhreagair an ſluagh uile, Amen, Amen, a' togail ſuas an làmh. Agus chrom iad an cinn, agus rinn iad aoradh do'n Tighearn le'n aghaidhibh ris an talamh.

7 Mar an ceudna thug Ieſua, agus Bani, agus Serebiah, Iamin, Acub, Sabetai, Hodiah, Maaſeiah, Celita, Aſariah, Ioſabad, Hanan, Pelaiah, agus na Lebhithich air an t-ſluagh an lagh a thuigſinn: agus ſheas an ſluagh nan àit.

8 Agus leugh iad ann an leabhar lagha Dhé gu ſoilleir, agus thug iad an ſeadh ſeachad [b]; agus thuig iadſan an uair a leughadh.

9 Agus thubhairt Nehemiah, neach a's e an Tirſata, agus Eſra an ſagart an ſcrìobhuiche, agus na Lebhithich a theagaiſg an ſluagh, ris an t-ſluagh uile, *Tha* 'n latha ſo naomha do'n Tighearna bhur Dia, na deanaibh caoidh no gul; oir ghuil an ſluagh uile, 'nuair a chual iad briathran an lagha.

10 An ſin thubhairt e riu, Imichibh, ithibh *nithe* reamhra, agus òlaibh *nithe* milſe, agus cuiribh cuibhrionna d'an ionnſuidh-ſan do nach d'ulluicheadh ni air bith; oir *tha*'n latha *ſo* naomha d'ar Tighearna: agus na bithibh ri bròn, oir *is* e gairdeachas an Tighearna bhur neart.

11 Agus chiuinich [c] na Lebhithich an ſluagh uile, ag ràdh, Bithibh 'nar toſd, oir *a ta* 'n latha naomha, agus na bithibh ri bròn.

12 Agus dh'imich an ſluagh uile a dh'itheadh agus a dh'òl, agus a chur chuibhrionn uatha, agus a dheanamh aoibhneis mhòir, a chionn gu'n do thuig iad na briathran a chuir iad an céill doibh.

13 Agus air an dara là chruinnicheadh cuideachd cinn aithriche an t-ſluaigh uile, na ſagairt agus na Lebhithich gu h-Eſra an ſcrìobhuiche, chum gu'n tuigeadh iad briathran an lagha.

14 Agus fhuair iad ſcrìobhta anns an lagh a dh'àithn an Tighearn le làimh Mhaois, gu'n gabhadh clann Iſraeil còmhnuidh ann am pàilliunaibh [d] air an fhéill air an t-ſeachdamh mìos.

15 Agus an uair a chual iad ſo, thug iad gairm [e] nam bailtibh uile, agus ann an Ieruſalem, ag ràdh, Rachaibh a mach do'n t-ſliabh, agus thugaibh leibh geuga [f] chrann-olaidh, agus geuga giuthais, agus geuga miortail, agus geuga pailme, agus

a *thubhairt iad ri.* Eabh. b *dh'innis iad ciod bu chiall da.* c *ſhiochaintich.* d *bùthaibh.* e *agus gu'n cuireadh iad an céill, agus gu'n dthugadh iad gairm.* f *geugan le'n duilleach; duilleach.* Eabh.

agus geuga chraobh tiugh, a dheanamh phàilliun, mar *a ta e* ſcrìobhta.

16 Agus chaidh an ſluagh a mach agus thug iad leo *iad*, agus rinn iad dhoibh féin pàilliuna, gach fear air mullach a thighe, agus nan cùirtibh, agus ann an cùirtibh tighe Dhé, agus ann an ſràid geataidh an uiſge, agus ann an ſràid geataidh Ephraim.

17 Agus rinn uile choimhthional na muinntir a thàinig air an ais o'n bhraighdeanas pàilliuna, agus ſhuidh iad fuidh na pàilliunaibh: oir o laithibh Ioſua [a] mhic Nuin, gu ruig an là ſin, cha d'rinn clann Iſraeil mar ſin; agus bha gairdeachas ro-mhòr ann.

18 Agus leugh e ann an leabhar lagha Dhé là'n déigh là, o'n cheud là gu ruig an là mu dheireadh: agus chum iad an fhéill ſeachd laithean, agus air an ochdamh là ard choimhthional a réir a' ghnatha.

CAIB. IX.

AGUS air a' cheathramh là fichead do'n mhìos ſo chruinnicheadh clann Iſraeil ann an troſgadh, agus ann an ſaic-eudach, agus ùir orra.

2 Agus dhealaich sìol Iſraeil iad féin o uile chloinn choigreach, agus ſheas iad, agus dh'aidich iad am peacanna, agus eucearta an aithriche.

3 Agus dh'éirich iad nan àit, agus leugh iad ann an leabhar lagha an Tighearna an Dé an ceathramh cuid do'n là, agus ceathramh *eile* dh'aidich iad, agus rinn iad aoradh do'n Tighearn an Dia.

4 An ſin dh'éirich air cheumaibh nan Lebhitheach Ieſua agus Bani, Cadmiel, Sebaniah, Buni, Serebiah, Bani, agus Chenani, agus ghlaodh iad le guth ard ris an Tighearn an Dia.

5 Agus thubhairt na Lebhithich, Ieſua agus Cadmiel, Bani, Haſabniah, Serebiah, Hodiah, Sebaniah, *agus* Petahiah, Eiribh, beannaichibh an Tighearna bhur Dia gu ſaoghal nan ſaoghal: agus beannaichte gu robh t'ainm glòrmhor-ſa, a ta air' ardachadh os cionn gach beannachaidh agus cliu.

6 Is tuſa, *is* tuſa a'd' aonar an Tighearn: rinn thu na nèamha, nèamha nan nèamh agus an ſlòigh uile, an talamh agus gach *ni* a *ta* air, na cuanta agus gach *ni* a *ta* annta, agus *tha* thu 'gan cumail ſuas [b] uile; agus *a ta* ſlòigh nan nèamh a' deanamh aoraidh dhuit.

7 *Is* tu féin an Tighearn an Dia, a thagh Abram, agus a thug a mach e a h-Ur nan Caldeanach, agus a thug Abraham mar ainm air.

8 Agus fhuair thu a chridhe fìrinneach a't' fhianais, agus rinn thu coimhcheangal ris, gu'n dthugadh tu tìr nan Canaanach, nan Hiteach, nan Amorach, agus nam Periſeach, agus nan Iebuſach, agus nan Girgaſach, gu'n dthugadh tu *ſo* d'a ſhliochd; agus choimhlion thu do bhriathra, oir tha thu ceart:

9 Agus chunnaic thu àmhghar ar n-aithriche anns an Eiphit, agus chuala tu an glaodh aig a' mhuir ruaidh:

10 Agus nochd thu comharan agus iongantais air Pharaoh, agus air a sheirbhiſich uile, agus air uile ſhluagh a thìre; oir bha fios agad gu'n d'rinn iad gu'h-uaibhreach nan aghaidh: agus fhuair thu dhuit féin ainm, mar air an la 'n diugh.

11 Agus roinn thu a' mhuir rompa, agus chaidh iad troimh mheadhon na mara air talamh tioram; agus an luchd-tòrachd thilg thu anns an doimhne, mar chloich anns na h-uiſgeachaibh làidir.

12 Agus le meall [c] neoil threòraich thu iad ſan là; agus le meall teine ſan oidhche, a ſhoillſeachadh dhoibh na ſlighe air an imicheadh iad.

13 Agus thàinig thu nuas air ſliabh Shinai, agus labhair thu riu o nèamh, agus thug thu dhoibh breitheanais chearta, agus laghanna fìrinn, reachdan agus àitheanta maithe,

14 Agus do ſhàbaid naomha dh'fhoillſich thu dhoibh; agus àith-

eantan

a *Ieſua.* b *a' toirt beatha dhoibh.* c *tùiribh, ſluaidh, ſtac; pillar.* Saſg.

eantan agus reachdan, agus lagh dh'àithn thu dhoibh le làimh Mhaois t'òglaich:

15 Agus aran o nèamh thug thu dhoibh nan ocras [a], agus uiſge as a' charraig thug thu mach dhoibh nan tart: agus thubhairt thu riu [b] dol a ſteach a ſhealbhachadh an fhearainn a mhionnaich thu [c] gu'n dthugadh tu dhoibh.

16 Ach rinn iad féin agus ar n-aithriche gu h-uaibhreach, agus chruaidhich iad am muineal, agus cha d'éiſd iad ri t'àitheantaibh,

17 Agus dhiùlt iad éiſdeachd, agus cha do chuimhnich iad t'iongantaſan a rinn thu nam meaſg; ach chruaidhich iad am muineal, agus dh'orduich iad ceannard, chum pilltinn d'an daorſa ſan Eiphit [d]: ach *is* Dia thuſa a tha ealamh gu maitheanas a thoirt ſeachad, gràimhor agus tròcaireach, mall a chum feirge, agus pailt ann an truacantas [e], agus cha do thréig thu iad.

18 Eadhon an uair a rinn iad dhoibh féin laogh leaghta, agus a thubhairt iad, So do dhia a thug a nìos thu as an Eiphit, agus a dh'oibrich iad mòran broſnachaidh;

19 Gidheadh a d' thruacantas mòr cha do thréig thu iad ſan fhàſach: cha do dhealaich am meall neoil riu ſan là, gu'n treòrachadh air an t-ſlighe; no am meall teine ſan oidhche, a ſhoillſeachadh na ſlighe dhoibh air an imicheadh iad.

20 Agus do ſpiorad maith thug thu ſeachad gu'n teagaſg, agus do mhana cha do chum thu o'm beul, agus uiſge thug thu dhoibh nan tart.

21 Eadhon dà fhichead bliadhna bheathaich thu iad ſan fhàſach: cha robh dìth orra: cha d'fhàs an eudach ſean, agus cha d'at an caſa.

22 Agus thug thu dhoibh rìoghachdan agus ſlòigh, agus roinn thu iad ann an cearnaibh; agus ſhealbhaich iad tìr Shihoin, agus tìr righ Heſboin, agus tìr Og righ Bhaſain.

23 Agus rinn thu an clann lìonmhor mar reulta nan nèamh, agus thug thu iad do'n tìr mu'n dubhairt thu r'an aithrichibh, gu'n reachadh iad a ſteach g'*a* ſealbhachadh.

24 Agus chaidh an clann a ſteach, agus ſhealbhaich iad an tìr, agus chioſnaich thu rompa luchd-àiteachaidh na tìre, na Canaanaich, agus thug thu thairis nan làimh iad féin agus an righrean, agus ſluagh na tìre, a dheanamh riu mar bu mhiann leo.

25 Agus ghlac iad bailte daingnichte [f], agus talamh reamhar, agus ſhealbhaich iad tighean làn do gach *ni* maith, tobraiche cladhaichte, fìon-lioſan agus lioſan-olaidh, agus craobhan meas ann am pailteas: agus dh'ith iad, agus ſhàſaicheadh iad, agus dh'fhàs iad reamhar, agus bha toil-inntinn aca ann ad mhòr mhaitheas-ſa.

26 Gidheadh, bha iad eaſ-umhal, agus rinn iad ceannairc a'd' aghaidh, agus thilg iad do lagh air an cùlaobh, agus mharbh iad t'fhàidhean a thug fianuis nan aghaidh, chum am pilltinn a t'ionnſuidh: agus dh'oibrich iad mòran broſnachaidh.

27 Air an aobhar ſin thug thu thairis iad do làimh an naimhdean, a ſhàraich iad: agus ann an àm an airce ghlaodh iad riut, agus o na nèamhaibh chuala tu, agus a d' mhòr thròcair thug thu dhoibh luchd-ſaoraidh, a ſhaor iad as làimh an naimhde.

28 Ach an uair a bha fois aca, rinn iad olc a rìs a't' fhianuis: uime ſin dh'fhàg thu iad ann an làimh an naimhde, agus bha uachdaranachd aca orra. Gidheadh, an uair a phill iad agus a ghlaodh iad riut, chuala tu o na nèamhaibh, agus ſhaor thu iad a d' mhòr thròcair iomadh uair:

29 Agus thug thu fianuis nan aghaidh, chum an toirt air an ais a dh'ionnſuidh do lagha: gidheadh, rinn iadſan gu h-uaibhreach, agus cha d'éiſd iad ri t'àitheantaibh, ach pheacaich iad an aghaidh do bhreitheanaſa, nithe ma ni duine, bithidh e beo annta; agus tharruing iad air

falbh

a *air ſon an ocrais.* b *dh'àithn thu dhoibh.* c *a thog thu ſuas do làmh.* Eabh. d *nan ceannairc.* e *caoimhneas.* f *làidir.*

ſalbh an gualainn, agus chruaidhich iad am muineal, agus cha 'n éiſdeadh iad.

30 Agus ghiùlan thu leo rè iomadh bliadhna, agus rinn thu fianuis 'nan aghaidh le d' ſpiorad le làimh t'fhàidhean: ach cha 'n éiſdeadh iad, agus thug thu thairis iad do làimh ſhluagh nan tìr.

31 Gidheadh ann ad mhòr thròcair cha do chuir thu as doibh gu tur, agus cha do threig thu iad; oir *is* Dia gràſmhor agus tròcaireach thuſa.

32 A nis ma ta, O ar Dia-ne, a Dhé mhòir, chumhachdaich, agus uamhaſaich [a], a chumas coimhcheangal agus tròcair, na meaſar beag a t'fhianuis an sàrachadh ſo uile a thàinig oirnne, air ar righribh, air ar n-uachdaranaibh, agus air ar ſagartaibh, agus air ar fàidhibh, agus air ar n-aithrichibh, agus air do ſhluagh uile, o laithibh righrean Aſiria gu ruig an la'n diugh.

33 Ach *a ta* thuſa cothromach anns gach *ni* a thàinig oirnn; oir rinn thuſa gu fìrinneach, ach rinn ſinne gu h-aingidh.

34 Cha do ghléidh ar righrean, ar n-uachdarain, ar ſagairt, no ar n-aithriche do lagh-ſa, agus cha d'éiſd iad ri t'àitheantaibh, agus ri d' theiſteas leis an d'thug thu teiſteas nan aghaidh:

35 Oir cha do rinn iad ſeirbhis dhuit nan rìoghachd [b], agus anns a' mhòr mhaith a thug thu dhoibh, agus anns an fhearann fharſaing agus reamhar a chuir thu ſa'n comhair, agus cha do phill iad o'n droch oibribh.

36 Feuch, *is* ſeirbhiſich ſinn an diugh, agus am fearann a thug thu d'ar n-aithrichibh a dh'itheadh a thoraidh agus a mhaith, feuch, *is* ſeirbhiſich ſinn ann.

37 Agus *is* mòr a thoradh do na righribh a chuir thu os ar cionn air ſon ar peacanna; agus *a ta* uachdaranachd aca os cionn ar corpa, agus os cionn ar ſpréidhe, a réir an toile, agus tha ſinn ann an àmhghar mòr.

38 Agus air ſon ſo uile ni ſinn coimhcheangal cinnteach, agus ſcriobhaidh ſinn *e*; agus cuiridh ar n-uachdarain, ar Lebhithich, agus ar ſagairt an ſeula air.

CAIB. X.

AGUS ſo iadſan a chuir an ſeula air: Nehemiah an Tirſata, mac Hachaliah, agus Sedeciah,

2 Seraiah, Aſariah, Ieremiah,

3 Paſur, Amariah, Malchiah,

4 Hatus, Sebaniah, Maluch,

5 Harim, Meremot, Obadiah,

6 Daniel, Gineton, Baruch,

7 Meſulam, Abiah, Miamin,

8 Maaſiah, Bilgai, Semaiah: *b'iad* ſin na ſagairt.

9 Agus na Lebhithich: Ieſua mac Aſaniah, Binui do mhacaibh Henadaid, Cadmiel;

10 Agus am bràithrean, Sebaniah, Hodiah, Celita, Pelaiah, Hanan,

11 Micha, Rehob, Haſabiah,

12 Sacur, Serebiah, Sebaniah,

13 Hodiah, Bani, Beninu.

14 Cinn an t-ſluaigh: Paros, Pahat-moab, Elam, Satu, Bani,

15 Buni, Aſgad, Bebai,

16 Adoniah, Bigbhai, Adin,

17 Ater, Hiſciah, Adſur,

18 Hodiah, Haſum, Beſai,

19 Hariph, Anatot, Nebai,

20 Magpias, Meſulam, Heſir,

21 Meſeſabeel, Sadoc, Iadua,

22 Pelatiah, Hanan, Anaiah,

23 Hoſea, Hananiah, Haſub,

24 Halohes, Pileha, Sobec,

25 Rehum, Haſabnah, Maaſeiah,

26 Agus Ahiah, Hanan, Anan,

27 Maluch, Harim, Baanah.

28 Agus a' chuid eile do'n t-ſluagh, na ſagairt, na Lebhithich, na dorſairean, an luchd-ſeinn, na Netinich, agus iadſan uile a dhealaich iad féin o ſhluagh nan tìr a chum lagha Dhé, am mnài, am mic, agus an nigheana, gach aon aig an robh eòlas agus tuigſe;

29 Dhlùth-lean iad r'am bràithribh, an ard uaiſlean, agus chaidh iad fa mhallachadh, agus fa mhionnaibh, gluaſad ann an lagh Dhé, a thugadh ſeachad le laimh Mhaois òglaich Dhé, agus a choimhead agus a dheanamh uile àitheantan Iehobhah ar Tighearna,

[a] *engàlaich.* [b] *a'd' rìoghachd.*

earna, agus a bhreitheanaſan, agus a reachda:

30 Agus nach dthoir ſinn ar nigheana do ſhluagh na tìre, agus nach gabh ſinn an nigheana-ſan d'ar macaibh:

31 Agus ma bheir ſluagh na tìre leo bathar, no biadh air bith air latha na sàbaid, g'a reiceadh, nach ceannaich ſinn e uatha air an t-sàbaid, no air latha naomha: agus gu'n leig ſinn leis an t-ſeachdamh bliadhna, agus le togail nam fiach uile.

32 Mar an ceudna rinn ſinn reachda dhuinn féin, an treas cuid do ſhecel a chur a dh'fhiachaibh oirnn féin gach bliadhna, air ſon ſeirbhis tighe ar Dé,

33 Air ſon an arain thaiſbeanta, agus air ſon an tabhartais-bìdh ghnàthaichte, agus air ſon ìobairt loiſgte ghnàthaichte nan sàbaid *agus* nan gealach nomha, air ſon nam féill ſuidhichte, agus air ſon nan *nithe* naomha, agus air ſon nan ìobairt-pheacaidh, a dheanamh réite air ſon Iſraeil, agus *air ſon* uile oibre tighe ar Dé.

34 Agus thilg ſinn croinn, na ſagairt, na Lebhithich, agus an ſluagh mu'n tabhartas-fhiodha, chum *a* thabhairt gu tigh ar Dé, a réir tighe ar n-aithriche, air amannaibh ſuidhichte, o bhliadhna gu bliadhna, a loſgadh air altair an Tighearna ar Dé, mar *a ta e* ſcrìobhta anns an lagh:

35 Agus a thabhairt ceud-thoraidh ar fearainn, agus ceud-thoraidh uile mheas gach uile chraoibh, o bhliadhna gu bliadhna, gu tigh an Tighearna:

36 Agus a thabhairt ceud-ghin ar mac, agus ar n-ainmhidhean, mar *a ta e* ſcrìobhta anns an lagh, agus ceud-ghin ar cruidh agus ar caorach, gu tigh ar Dé, dh'ionnſuidh nan ſagart a fhritheileas ann an tigh ar Dé:

37 Agus gu'n dthugamaid ceud-thoradh ar taoiſe, agus ar tabhartaſa, agus meas gach gnè craoibhe, fìona agus olaidh, dh'ionnſuidh nan ſagart, gu ſeòmraichibh tighe ar Dé, agus deachamh ar fearainn do na Lebhithich, air chor as gu faigheadh na Lebhithich ſin an deachamh ann an uile bhailtibh ar treabhachais.

38 Agus bithidh an ſagart mac Aaroin maille ris na Lebhithich, an uair a thogas na Lebhithich an deachamh: agus bheir na Lebhithich ſuas leo deachamh an deachaimh gu tigh ar Dé, a ſteach do na ſeòmraichibh, do thigh an ionmhais:

39 Oir bheir clann Iſraeil, agus clann Lebhi leo tabhartas an arbhair, an fhìona nuaidh, agus na h-olaidh [a], ſteach do na ſeòmraichibh, far *am bheil* ſoithichean an ionaid naomha, agus na ſagairt, [agus] an luchd-fritheaſaidh, agus na dorſairean, agus an luchd ſeinn. Agus cha tréig ſinne tigh ar Dé.

CAIB. XI.

AGUS chòmhnuich uachdarain an t-ſluaigh ann an Ieruſalem; agus thilg a' chuid eile do'n t-ſluagh croinn, a thoirt aoin as an deichnear a ghabhail còmhnuidh ann an Ieruſalem am baile naomha, agus *gu'm biodh* naoi earranna anns na bailtibh *eile*.

2 Agus bheannaich an ſluagh na daoine uile, a thairg iad féin gu toileach gu còmhnuidh ghabhail ann an Ieruſalem.

3 Agus *is* iad ſo cinn na mòr-roinne, a chòmhnuich ann an Ieruſalem, agus ann am bailtibh Iudah: ghabh gach aon còmhnuidh na ſheilbh féin, nam bailtibh, na h-Iſraelich, na ſagairt, agus na Lebhithich, agus na Netinich, agus mic ſheirbhiſeach Sholaimh.

4 Agus chòmhnuich ann an Ieruſalem do chloinn Iudah, agus do chloinn Bheniamin: do chloinn Iudah; Ataiah mac Udſiah, mhic Shechariah, mhic Amariah, mhic Shephatiah, mhic Mhahalaleil, do chloinn Phereis.

5 Agus Maaſeiah mac Bharuich, mhic Cholhoſeh, mhic Haſaiah, mhic Adaiah, mhic Ioiarib, mhic Shechariah, mhic Shiloni.

6 Mic Phereis uile a chòmhnuich ann an Ieruſaleim, ceithir cheud tri fichead agus ochd fir threuna.

a *an olaidh*.

7 Agus *is* iad ſo mic Bheniamin; Salu mac Mheſulaim, mhic Ioeid, mhic Phedaiah, mhic Cholaiah, mhic Mhaaſeiah, mhic Itieil, mhic Ieſaiah.

8 Agus na dhéigh-ſan Gabai, Salai, naoi ceud fichead agus a h-ochd.

9 Agus Ioel mac Shichri na fhear-amhairc thairis orra; agus Iudah mac Shenuah an dara *fear* os-cionn a' bhaile.

10 Do na ſagartaibh: Iedaiah, Ioiarib [a], Iachin,

11 Seraiah mac Hilciah, mhic Mheſulaim, mhic Shadoic, mhic Mheraioit, mhic Ahituib, riaghladair tighe Dhé.

12 Agus am bràithrean a rinn obair an tighe, ochd ceud fichead agus a dhà: agus Adaiah, mac Ierohaim, mhic Phelaliah, mhic Amſi, mhic Shechariah, mhic Phaſuir, mhic Mhalchiah;

13 Agus a bhràithre cinn nan aithriche, dà cheud dà fhichead agus a dhà: agus Amaſai mac Aſareeil, mhic Ahaſai, mhic Mheſilemoit, mhic Imeir,

14 Agus am bràithrean fir chomaſach ghaiſgeil, ceud fichead agus a h-ochd: agus na fhear-amhairc thairis orra Sabdiel, mac *aoin* do na daoinibh mora [b].

15 Agus do na Lebhithich: Semaiah mac Haſuib, mhic Aſricaim, mhic Haſabiah, mhic Bhuni,

16 Agus Sabetai, agus Ioſabad, do cheannaibh nan Lebhitheach, os cionn oibre tighe Dhé o'n leth muigh.

17 Agus Mataniah mac Mhicha, mhic Shabdi, mhic Aſaiph, an ceud fhear a thòiſicheadh air buidheachas a thoirt [c] ann an urnuigh; agus Bacbuciah, an dara *fear* am meaſg a bhràithre, agus Abda mac Shamua, mhic Ghalail, mhic Iedutuin.

18 Na Lebhithich uile anns a' bhaile naomha, dà cheud ceithir fichead agus a ceithir.

19 Agus na dorſairean, Acub, Talmon, agus am bràithrean a bha ri faire aig na geataibh, ceud tri fichead agus a dhà-dheug.

20 Agus *bha* chuid eile do Iſrael, na ſagairt, agus na Lebhithich, ann an uile bhailtibh Iudah, gach fear na ſheilbh féin.

21 Ach ghabh na Netinich còmhnuidh ann an Ophel; agus *bha* Siha agus Giſpa os cionn nan Netineach.

22 Agus *b'e* fear-amhairc thairis nan Lebhitheach ann an Ieruſalem Udſi mac Bhani, mhic Haſabiah, mhic Mhataniah, mhic Mhicha. Do mhacaibh Aſaiph, *bha*'n luchd-ſeinn fa chomhair [d] oibre tighe Dhé:

23 Oir *b'i* àithne an righ mu'n timchioll, gu'm biedh cuibhrionn àraidh airſon an luchd-ſeinn, a dhlighe féin air gach là.

24 Agus *bha* Petaiah mac Mheſeſabeeil, do chloinn Sherah mhic Iudah, aig làimh an righ anns gach cùis a thaobh an t-ſluaigh.

25 Agus a thaobh nam bailte beaga nam fearann [e], chòmhnuich *cuid* do mhacaibh Iudah ann an Ciriat-arba agus *na* bhailtibh beaga, agus ann an Dibon agus *na* bhailtibh beaga, agus ann an Iecabſeel agus *na* bhailtibh beaga,

26 Agus ann an Ieſua, agus ann am Moladah, agus ann am Bet-pelet,

27 Agus ann an Haſar-ſual, agus ann am Beer-ſeba agus *na* bhailtibh beaga,

28 Agus ann an Siclag, agus ann am Meconah agus *na* bhailtibh beaga,

29 Agus ann an En-rimon, agus ann an Sareah, agus ann an Iarmut,

30 Sanoah, Adulam, agus nam bailtibh beaga, *ann an* Lachis agus *na* fhearann, *ann an* Aſecah agus *na* bhailtibh beaga. Agus chòmhnuich iad o Bheer-ſeba gu ruig gleann Hinoim;

31 Agus mic Bheniamin o Gheba, *ann am* Michmas, agus Aia, agus Betel agus *na* bhailtibh beaga,

32 *Ann an* Anatot, Nob, Ananiah,

33 Haſor,

a *Jedaiah mac Ioiarib.* Faic. I. Eachdr. Caib. IX. r. 10. b *mac Ghedeloim.* c *an ceud fhear gu moladh agus buidheachas a thabhairt.* d *os cionn.* e *le'n achaibh.*

33 Hasor, Ramah, Gitaim,
34 Hadid, Seboim, Nebalat,
35 Lod, agus Ono, gleann an luchd-
ceirde.
36 Agus do na Lebhithich *bha*
roinnean, *ann an* Iudah, agus *ann am*
Beniamin.

CAIB. XII.

AGUS *is* iad so na sagairt agus na
Lebhithich a chaidh suas mail-
le ri Serubabel mac Shealtieil, agus
Iesua: Seraiah, Ieremiah, Esra,
2 Amariah, Maluch, Hatus,
3 Sechaniah, Rehum, Meremot,
4 Ido, Gineto, Abiah,
5 Miamin, Maadiah, Bilgah,
6 Semaiah, agus Ioiarib, Iedaiah,
7 Salu, Amoc, Hilciah, Iedaiah:
B'iad sin cinn nan sagart agus am
bràithrean ann an laithibh Iesua.
8 Agus na Lebhithich: Iesua, Bi-
nui, Cadmiel, Serebiah, Iudah, *agus*
Mataniah, *a bha* os cionn nan laoidh-
mholaidh [a], e féin agus a bhràithre:
9 Agus Bacbuciah, agus Uni, a-
gus am bràithrean, *a bha* thall fa'n
comhair-san anns na fairibh.
10 Agus ghin Iesua Ioiacim, agus
ghin Ioiacim Eliasib, agus ghin Eli-
asib Ioiada,
11 Agus ghin Ioiada Ionatan, agus
ghin Ionatan Iadua.
12 Agus ann an laithibh Ioiacim
bha sagairt, cinn nan aithriche: o
Sheraiah, Maraiah: o Ieremiah, Ha-
naniah:
13 O Esra, Mesulam: o Amariah,
Iehohanan:
14 O Mhelicu [b], Ionatan: o She-
chaniah [c], Ioseph:
15 O Harim, Adna: o Mheraiot,
Helcai:
16 O Ido, Sechariah: o Ghineton,
Mesulam:
17 O Abiah, Sichri: o Mhiamin [d],
***: o Mhoadiah, Piltai:
18 O Bhilgah, Samua: o Shemai-
ah, Iehonatan:
19 O Ioiarib, Matenai: o Iedaiah,
Uisi:
20 O Shalai, Calai: o Amoc, Eber:
21 O Hilciah, Hasabiah: o Iedai-
ah, Netaneel.
22 Scrìobhadh sìos na Lebhithich
ann an laithibh Eliasib, Ioiada, agus
Iohanain, agus Iadua, cinn nan aith-
riche; agus na sagairt gu ruig rìogh-
achadh Dhariuis a' Pherfaich.
23 Scrìobhadh sìos mic Lebhi, cinn
nan aithriche, ann an leabhar nan
eachdraidh, gu ruig laithean Ioha-
nain mhic Eliasib.
24 Agus cinn nan Lebhitheach:
Hasabiah, Serebiah, agus Iesua mac
Chadmieil, agus am bràithre thall
fa'n comhair, a mholadh *agus* a tha-
bhairt buidheachais a réir àithne
Dhaibhidh òglaich Dhé, faire fa
chomhair faire.
25 Mataniah, agus Bacbuciah, O-
badiah, Mesulam, Talmon, Acub,
nan dorsairibh a' coimhead na faire aig
stairsneachaibh [e] nan geata.
26 Iad sin ann an laithibh Ioiacim
mhic Iesua, mhic Iosadaic, agus ann
an laithibh Nehemiah an uachdarain,
agus Esra an t-sagairt, an scrìobh-
aiche.
27 Agus aig coisreagadh ballaidh
Ierusaleim dh'iarr iad na Lebhithich
as an àitibh uile, chum an tabhairt
gu h-Ierusalem, a chumail a' chois-
reagaidh le h-aoibhneas, agus le
breth-buidheachais, agus le seinn, *le*
ciombalaibh, saltairibh, agus le clàr-
saichibh.
28 Agus chruinnich mic an luchd-
seinn an cionn a chéile, araon as an
tìr réidh mu thimchioll Ierusaleim, a-
gus a bailtibh beaga Netophati,
29 Agus a tigh Ghilgail, agus a
machairibh Gheba agus Asmabheit;
oir thog an luchd-seinn bailte beaga
dhoibh féin mu thimchioll Ierusaleim.
30 Agus ghlan na sagairt agus na
Lebhithich iad féin, agus ghlan iad
an sluagh, agus na geatan, agus am
balladh.
31 An sin thug mi suas uachdarain
Iudah air a' bhalladh, agus dh'or-
duich mi dà chuideachd mhòr chum
molaidh, agus gu'n imicheadh *aon* a
dh'ionnsuidh na làimhe deise air a'
bhalladh

a *os cionn an tabhairt buidheachais.* b *Maluch*, r. 2. c *Shebaniah.*
d *Mhiniamin.* e *sgàth-thighibh, tighibh-tionail; asupim.* Eabh. Faic.
I. Eachdr. Caib. XXVI. r. 15. 17.

bhalladh gu geatadh na aolaich:

32 Agus nan déigh-fan chaidh Hofaiah, agus leth uachdarana Iudah,

33 Agus Afariah, Efra, agus Mefulam,

34 Iudah, agus Beniamin, agus Semaiah, agus Ieremiah:

35 Agus *cuid* do mhacaibh nan fagart le trompaidibh; Sechariah, mac Ionatain, mhic Shemaiah, mhic Mhataniah, mhic Mhichaiah, mhic Shacuir, mhic Afaiph;

36 Agus a bhràithre Semaiah, agus Afareel, Milalai, Gilaiai, Maai, Netaneel, agus Iudah, *agus* Hanani, le innealaibh-ciuil Dhaibhidh òglaich Dhé, agus Efra an fcriobhuiche rompa.

37 Agus aig geatadh an tobair a bha fa'n comhair, chaidh iad fuas air ceumaibh [a] baile Dhaibhidh, aig dol fuas a' bhallaidh, os cionn tighe Dhaibhidh, gu ruig geatadh an uifge a làimh na h-airde 'near.

38 Agus dh'imich a' chuideachd eile a bha chum molaidh thall *fa'n* comhair, agus mife nan déigh, agus leth àn t-fluaigh air a' bhalladh, o thaobh fhuas tùir nan àmhuinn gu ruig am balladh leathann;

39 Agus o thaobh fhuas geataidh Ephraim, agus os cionn an t-fean gheataidh, agus os cionn geataidh an éifg, agus tùir Hananeel, agus tùir Mheah, gu ruig geatadh nan caorach: agus fheas iad ann an geatadh a' phrìofuin [b].

40 An fin fheas an dà chuideachd a bha chum molaidh ann an tigh Dhé, agus mife agus leth nan riaghlair maille rium:

41 Agus na fagairt, Eliacim, Maafeiah, Miniamin, Michaiah, Elioenai, Sechariah, Hananiah le trompaidibh,

42 Agus Maafeiah, agus Semaiah, agus Eleafar, agus Udfi, agus Iehohanan, agus Malchiah, agus Elam, agus Efer: agus fheinn an luchd-feinn gu h-ard, agus Iefraia na fhearamhairc thairis orra.

43 Agus dh'iobair iad air an là fin iobairtean móra, agus rinn iad gairdeachas; oir thug Dia orra gairdeachas a dheanamh le h-aoibhneas mòr: rinn na mnài mar an ceudna agus a' chlann gairdeachas, agus chualas gairdeachas Ierufaleim an céin.

44 Agus fhuidhicheadh air an latha cheudna daoine os cionn nan feòmar air fon nan ionmhas, air fon nan tabhartas, air fon nan ceud thoradh, agus air fon nan deachamh, chum gu'n cruinnicheadh iad' annta a achanaibh nam baile cuibhrionnan an lagha do na fagairt agus do na Lebhithich: oir *bha* aoibhneas air Iudah air fon nan fagart agus air fon nan Lebhitheach a bha a' feitheamh [c].

45 Agus choimhid iad faire an Dé, agus faire a' ghlanaidh, araon an luchd-feinn agus na dorfairean, a reir àithne Dhaibhidh agus Sholaimh mhic:

46 Oir ann an laithibh Dhaibhidh agus Afaiph o fhean *bha* cinn ann air an luchd-feinn, agus air na laoidhibh molaidh agus buidheachais do Dhia.

47 Agus thug Ifrael uile feachad ann an laithibh Sherubabeil, agus ann an laithibh Nehemiah, cuibhrionnan an luchd-feinn agus nan dorfair, dlighe gach là air a la féin; agus naomhaich iad *nithe* do na Lebhithich, agus naomhaich na Lebhithich do chloinn Aaroin.

CAIB. XIII.

AIR an là fin leughadh ann an leabhar Mhaois ann an éifdeachd [d] an t-fluaigh, agus fhuaradh fcriobhta ann nach ditbigeadh an t-Amonach agus am Moabach a fleach do choimhthional Dhé gu bràth;

2 A chionn nach do choinnich iad clann Ifraeil le h-aran agus le h-uifge, agus gu'n do thuarafdalaich iad Balaam nan aghaidh chum am mallachadh: ach thionndaidh ar Dia am mallachadh gu beannachadh.

3 A nis an uair a chual iad an lagh, dhealaich iad an fluagh measgta [e] uile o Ifrael.

4 Agus

a *flaidhrichibh.* b *aig geatadh na gaintire.* c *a' fritheáladh, nan feafamh* an fin. d *ann an cluafaibh.* Eabh. e *na coigrich, iadfan do fhliochd eile.*

4 Agus roimhe ſo *bha* aig Eliaſib an ſagart, a chuireadh os cionn ſeòmair tighe ar Dé, cleamhnas ri Tobiah.

5 Agus rinn e dha ſeòmar mòr, far an robh iad roimhe a' cur an tabhartais-bhidh, na tùiſe, agus nan ſoitheach, agus deachaimh an arbhair, an fhìona nuaidh, agus na h-olaidh, (a dh'orduicheadh do na Lebhithich, agus do'n luchd-ſeinn, agus do na dorſairibh), agus tabhartais nan ſagart.

6 Ach an uair a thachair ſo uile[a] cha robh miſe ann an Ieruſalem; oir anns an dara bliadhna deug thar fhichead do Artacſercſes righ Bhabiloin, thàinig mi dh'ionnſuidh an righ, agus an déigh laithean àraidh fhuair mi mo chead o'n righ:

7 Agus thàinig mi gu h-Ieruſalem, agus thuig mi an t-olc a rinn Eliaſib air ſon Thobiah, ſeòmar a dheanamh dha ann an cùirtibh tighe Dhé.

8 Agus ghabh mi gu ro-olc e; agus thilg mi uile airneis-tighe Thobiah mach as an t-ſeòmar.

9 Agus dh'àithn mi, agus ghlan iad na ſeòmraiche; agus thug mi air an ais an ſin ſoithichean tighe Dhé, an tabhartas-bidh agus an tùis.

10 Agus dh'aithnich mi nach d'thugadh ſeachad cuibhrionna nan Lebhitheach; oir theich na Lebhithich agus an luchd-ſeinn a rinn an obair, gach duine a dh'ionnſuidh 'fhearainn féin.

11 Agus thug mi achmhaſan do na riaghlairibh[b], agus thubhairt mi, C'arſon a threigeadh[c] tigh Dhé? Agus chruinnich mi iad ri chéile, agus ſhuidhich mi iad nan àit.

12 Agus thug Iudah uile deachamh an arbhair, agus an fhìona nuaidh, agus na h-olaidh ſteach do na h-ionmhaſaibh.

13 Agus chuir mi luchd-coimhid os cionn nan ionmhas, Selemiah an ſagart, agus Sadoc an ſcrìobhuiche; agus do na Lebhithich, Pedaiah; agus làmh riu-ſan Hanan mac Shacuir, mhic Mhataniah: oir mheaſadh fìrinneach iad, agus *bha* orra-ſan roinn air am braithribh.

14 Cuimhnich orm, O mo Dhia, air ſon ſo, agus na cuir as do ſhealladh[d] mo dheagh ghnìomharan a rinn mi a thaobh tighe mo Dhé agus a thaobh 'fhairean[e].

15 Anns na laithibh ſin chunnaic mi ann an Iudah *daoine* a' ſaltairt fhìon-amar air an t-sàbaid, agus a' toirt a ſtigh ſguab, agus a' cur luchd air aſalaibh; agus mar an ceudna fìon, fìon-dhearcan, agus fìgean, agus gach *gnè* eallaich, a thug iad a ſtigh do h-Ieruſalem air latha na sàbaid: agus thug mi fianuis *nan aghaidh* air an là air an do reic iad biadh.

16 Ghabh mar an ceudna Tioraich còmhnuidh ann, a thug a ſtigh iaſg agus gach gnè bathair; agus reic iad air an t-sàbaid ri clann Iudah, agus ann an Ieruſalem.

17 Agus thug mi achmhaſan do ard uaiſlibh Iudah, agus thubhairt mi riu, Ciod an ni olc ſo *a tha* ſibh a' deanamh, agus ſibh a' briſeadh[f] latha na sàbaid?

18 Nach d'rinn bhur n-aithrichean mar ſo, agus nach d'thug ar Dia an t-olc ſo uile oirnne, agus air a' bhaile ſo? agus *tha* ſibhſe a' toirt tuilleadh feirge air Iſrael leis an t-sàbaid a bhriſeadh.

19 Agus an uair a thòiſich geataidh Ieruſaleim air a bhi dorcha roimh 'n t-sàbaid, dh'àithn mi, agus dhruideadh na comhlachan; agus dh'àithn mi nach bitheadh iad air am foſgladh gus an déigh na sàbaid: agus *cuid* do m'òglachaibh ſhuidhich mi aig na geataibh, chum nach d'thigeadh eallach a ſtigh air latha na sàbaid.

20 Agus ghabh na ceannaichean, agus luchd-reicidh gach gnè bathair, tàmh an taobh a muigh do Ieruſalem uair no dhà.

21 Agus thug mi fianuis nan aghaidh, agus thubhairt mi riu, C'arſon a tha ſibh a gabhail tàimh fa chomhair a' bhallaidh? ma ni ſibh a rìs e, leagaidh mi làmh oirbh. O'n àm ſin cha d'thàinig iad *tuilleadh* air an t-sàbaid.

22 Agus

[a] *ann an ſo uile.* Eabh. [b] *thagair mi a' chùis ris na riaghlairibh.* [c] *a thréig ſinn.* [d] *na dubh a mach, na di-chuimhnich.* [e] *air ſon tighe mo Dhé, agus air ſon a fhrithealaidh.* [f] *a' truailleadh, a' mi-naomhachadh.*

22 Agus dh'àithn mi do na Lebhithich, a bha 'gan glanadh féin, agus a thàinig a ghleidheadh nan geatadh, gu'n naomhaicheadh iad latha na sàbaid. Cuimhnich orm, O mo Dhia, *thaobh* ſo mar an ceudna, agus caomhain mi a réir meud do thròcaire.

23 Mar an ceudna anns na laithibh ſin chunnaic mi Iudhaich *a* phòs mnài do Aſdod, do Amon, agus do Mhoab.

24 Agus labhair an clann leth ann an cainnt Aſdoid, agus cha b'urrainn iad labhairt ann an cainnt nan Iudhach, ach a réir cainnte an dà ſhluaigh [a].

25 Agus thug mi achmhaſan doibh, agus mhallaich mi iad, agus bhuail mi cuid diubh, agus ſpìon mi dhiubh am falt, agus thug mi orra mionnachadh air Dia, nach dthugadh iad an nigheana [b] d'am macaibh-ſan, agus nach gabhadh iad an nigheana-ſan d'am macaibh, no dhoibh féin.

26 Leis na nithibh ſin nach do pheacaich Solamh righ Iſraeil? gidheadh am meaſg mhòrain chinneach cha robh righ ann coſmhuil ris, a bha air a ghràdhachadh le 'Dhia, agus a rinn Dia na righ air Iſrael uile: ach thug mnai choimheach [c] air-ſan féin peacachadh.

27 An éiſd ſinn ribh ma ta gus an t-olc mòr ſo uile a dheanamh, gu peacachadh an aghaidh ar Dé, le mnài choimheach a phòſadh.

28 Agus bha *aon* do mhacaibh Ioiada, mhic Eliaſib an ard-ſhagairt, na chliamhuin aig Sanbalat an t-Horonach: uime ſin dh'fhògair mi uame.

29 Cuimhnich orra, O mo Dhia, chionn gu'n do thruaill iad an t-ſagartachd, agus coimhcheangal na ſagartachd agus nan Lebhitheach.

30 Mar ſo ghlan mi iad o gach coigreach, agus dh'orduich mi fairean nan ſagart agus nan Lebhitheach, gach aon na ghnothuch féin:

31 Agus air ſon nan tabhartaſfiodha, aig amannaibh ſuidhichte, agus air ſon nan ceud thoradh. Cuimhnich orm, O mo Dhia, chum maith.

a *ſluaigh agus ſluaigh.* Eabh. b *Cha dthoir ſibh bhur nigheana,* &c. Eabh. c *a bha nan coigrich, o thìribh eile.*

ESTER.

E S T E R.

C A I B. I.

ANIS ann an laithibh Ahaſueruis, (*is* e ſo an t-Ahaſuerus a rìoghaich o India gu ruig Etiopia, *os cionn* ceud agus ſeachd thar ſhichead mòr-roinn,)

2 Anns na laithibh ſin, an uair a ſhuidh righ Ahaſuerus air righ-chathair a rìoghachd, a *bha* ann an Suſan an lùchairt:

3 Anns an treas bliadhna d'a rìoghachadh, rinn e fleadh[a] d'a uachdarain uile, agus d'a ſheirbhiſich; *agus* cumhachd Pherſia agus Mhedia, ard uaiſlean agus uachdarain nam mòr-roinn na làthair.

4 An uair a nochd e ſaibhreas a rìoghachd ghlòrmhoir, agus urram a mhòrachd òirdheirc, rè ceud[b] agus ceithir fichead latha.

5 Agus an uair a chrìochnaicheadh na laithe ſin, rinn an righ do'n t-ſluagh uile a bha làthair ann an Suſan an lùchairt, eadar mhòr agus bheag, fleadh ſheachd laithean, ann an cùirt liòs[c] tighe an righ,

6 *Bha na cùirteine* geal, uaine agus gorm air an crochadh le cordaibh do anart grinn agus do chorcur, air failbheagaibh airgid, agus poſtaibh marmoir: na leapaiche do òr agus do airgiod, air leac-urlar do mharmor dearg, agus gorm, agus geal, agus dubh.

7 Agus thug iad deoch ſeachad ann an ſoithichibh òir, agus na ſoithiche ea-coſmhuil r'a chéile[d], agus fìon rìoghail ann am pailteas, mar a thigeadh do'n righ[e].

8 Agus *bha* 'n t-òl a réir an lagha, gun neach ann a dh'éignicheadh; oir mar ſin dh'àithn an righ do uile dhaoinibh mòra a thighe, gu'n deanadh iad mar a b'àill leis gach duine.

9 Mar an ceudna rinn Bhaſti a' bhan-righinn fleadh do na mnaibh *anns* an tigh rìoghail a *bhuineadh* do righ Ahaſuerus.

10 Air an t-ſeachdamh là, 'nuair a bha cridhe an righ ſubhach le fìon, dh'àithn e do Mhehuman, do Bhiſta, do Harbona, do Bhigta, agus do Abagta, do Shetar, agus do Charcas, na ſeachd caillteanaich a fhritheil ann an làthair an righ Ahaſueruis,

11 Bhaſti a' bhan-righinn a thoirt an làthair an righ leis a' chrùn rìoghail, a nochdadh do'n t-ſluagh agus do na h-uachdaranaibh a ſgéimhe; oir *bha* i maiſeach ri amhairc oirre.

12 Ach dhiùlt a' bhan-righinn Bhaſti teachd air àithne an righ a *thug e ſeachad* le làimh nan caillteanach: agus bha corruich mhòr air an righ, agus las 'fhearg an taobh a ſtigh dheth.

13 An ſin thubhairt an righ ris na daoine glice, d'am b'aithne na h-aimſirean (oir *b*'e ſin gnàth an righ d'an taobh-ſan uile a bha eòlach air lagh agus breitheanas:

14 Agus làimh ris *bha* Carſena, Setar, Admata, Tarſis, Meres, Marſena, [agus] Memucan, ſeachd uachdarain Pherſia agus Mhedia, a *bha* faic-

inna

a *cuirm, féiſt.* b *iomadh latha,* eadhon *ceud.* c *gàrnidh.* d *agus mhùth iad na ſoithiche.* e *mar bu chubhaidh do'n righ; a réir làimhe an righ.* Eabh,

inn gnùiſe an righ, *agus* a ſhuidh air
thoiſeach ſan rioghachd.)
15 A réir an lagha ciod a ni ſinn
ris a bhan-righinn Bhaſti, a chionn
nach d'rinn i iarrtus an righ Ahaſu-
eruis le làimh nan cailliteanach?
16 Agus thubhairt Memucan an
làthair an righ agus nan uachdaran,
Cha'n ann air an righ a mhàin a rinn
Bhaſti a bhan-righinn eucoir, ach mar
an ceudna air na h-uachdaranaibh
uile, agus air an t-ſluagh uile, a *tha*
ann an uile mhòr-roinnibh righ A-
haſueruis:
17 Oir théid gnìomh na ban-righ-
inn a mach a dh'ionnſuidh nam ban
uile, air chor as gu'n dean iad tàir
air am fir nan ſùilibh, 'nuair a their
iad, Dh'àithn an righ Ahaſuerus a'
bhan-righinn Bhaſti a thoirt a ſteach
na làthair, ach cha d'thàinig i.
18 Mar an ceudna air an la'n
diugh their baintighearnan Pherſia a-
gus Mhedia, a chluinneas mu ghnìomh
na ban-righinn, ri uile uachdaranaibh
an righ: mar ſo *éiridh ſuas* pailteas
tàire agus feirge.
19 Ma's maith leis an righ, thig-
eadh àithne rìoghail a mach uaith,
agus ſcrìobhair i am meaſg laghanna
nam Perſach agus nam Medach, chum
nach atharraichear i, nach dthig
Bhaſti ni's mò an làthair an righ A-
haſueruis, agus gu'n dthoir an righ
a h-inbhe rìoghail do mhnaoi eile a's
fearr na iſe.
20 Agus an uair a chluinnear
àithne an righ a bheir e ſeachad air
feadh a rioghachd uile, (oir *tha* i
mòr,) bheir na mnài uile urram
d'am fearaibh, eadar mhòr agus
bheag.
21 Agus thaitinn am focal ris an
righ agus r'a uachdaranaibh, agus
rinn an righ a réir focail Mhemu-
cain.
22 Agus chuir e litrichean a
dh'ionnſuidh uile mhòr-roinnean an
righ, dh'ionnſuidh gach mòr-roinne
a réir a ſcrìobhaidh, agus a dh'ionn-
ſuidh gach ſluaigh a réir an cànain [a],
gu'm bitheadh gach fear na uachd-
aran na thigh féin; agus gu'm biodh
ſo air fhoillſeachadh [b] a reir cànain
gach ſluaigh.

CAIB. II.

AN déigh nan nithe ſin, an uair a
thraogh [c] fearg an righ Aha-
ſueruis, chuimhnich e air Bhaſti, a-
gus na rinn i, agus na dh'àithneadh
na h-aghaidh.
2 An ſin thubhairt ògiaich an righ
a fhritheil da, Iarrar do'n righ òigh-
ean-òga, ſgiamhach;
3 Agus orduicheadh an righ luchd-
riaghlaidh [d] ann an uile mhòr-roinn-
ibh a rìoghachd, agus cruinnicheadh
iad na h-òighean òga ſgiamhach uile
gu Suſan an lùchairt, gu tigh nam
ban, fuidh làimh Hegai, chaillteanaich
an righ, fhir-gleidhidh nam ban, a-
gus thugar *dhòibh* na nithe air ſon an
glanaidh,
4 Agus bitheadh an òigh a thait-
neas ris an righ [e], na ban-righinn an
àite Bhaſti. Agus thaitinn an ni ris
an righ, agus rinn e mar ſin.
5 Bha Iudhach àraidh ann an Suſ-
an an lùchairt, d'am *b*'ainm Morde-
cai, mac Iair, mhic Shimei, mhic Chis,
duine do Bheniamin,
6 A thugadh air falbh o Ieruſalem
leis a' bhraighdeanas a thugadh air
falbh maille ri Ieconiah righ Iudah, a
thug Nebuchadneſar righ Bhabiloin
air falbh.
7 Agus dh'àraich [f] e Hadaſah (*b*'i
ſin Eſter) nighean bràthar-'athar, oir
cha robh athair no màthair aice, a-
gus *bha*'n òigh maiſeach na cruth, a-
gus ſgiamhach na gnùis: agus an
uair a dh'eug a h-athair agus a màth-
air, ghabh Mordecai d'a ionnſuidh i
mar a nighean féin.
8 Agus an uair a chualas àithne
an righ agus 'ordugh, agus an uair a
chruinnicheadh iomadh òigh gu Suſan
an lùchairt, gu bhi fuidh làimh [g]
Hegai, thugadh Eſter mar an ceud-
na gu tigh an righ, gu bhi fuidh
làimh Hegai, fhir-gleidhidh nam
ban.
9 Agus thaitinn an òigh ris, agus
fhuair

a *cànambain, cainnte.* b *air a dheanamh aithnichte.* c *a dh'illſich, a ſguir.* d *luchd-amhairc thairis.* e *a bhios maith ann an ſùilibh an righ.* Eabh. f *thog.* g *fuidh chùram, ann an coimhead.*

fhuair i caoimhneas na làthair, agus rinn e deifir gus a nithe air ſon glanaidh, agus na bhuineadh dh'i, a thabhairt d'a h-ionnſuidh, agus gu ſeachd maighdeana iomchuidh a thabhairt d'i a tigh an righ; agus chuir e i féin agus a maighdeana do'n *àit* a b'f..earr do thigh nam ban.

10 Cha d'innis Eſter a ſluagh, no a luchd-dàimh; oir dh'àithn Mordecai dh'i gun innſeadh.

11 Agus gach là *bha* Mordecai ag imeachd fa chomhair cùirte tighe nam ban, a dh'fhioſrachadh cionnus a bha Eſter, agus ciod a dh'éireadh dh'i.

12 Agus an uair a thàinig àm gach òighe gu dol a ſteach a dh'ionnſuidh an righ Ahaſueruis, an déigh dh'i bhi dà mhìos dheug a réir gnàtha nam ban (oir mar ſin chomhlionadh laithean an glanaidh, sè mìoſan le h-oladh mirr, agus sè mìoſan le luibhibh cùbhraidh agus le nithibh *eile* chum glanaidh nam ban,)

13 An ſin mar ſo thàinig gach òigh a dh'ionnſuidh an righ: gach *ni*[a] a dh'iarr i thugadh dh'i gu dol a ſteach leatha a tigh nam ban gu tigh an righ.

14 Air feaſgar chaidh i ſteach, agus fa' mhaduinn phill i gu dara tigh nam ban, fuidh làimh Shaaſgais, chaillteanaich an righ, fhir-gleidhidh nan coimhleabach: cha d'thàinig i ſteach tuilleadh a dh'ionnſuidh an righ, mar do ghabh an righ tlachd dh'i, agus gu'n do ghairmeadh i air a h-ainm.

15 Agus an uair a thàinig àm[b] Eſter, nighean Abihail, brathar-athar Mhordecai, (a ghabh d'a ionnſuidh i mar a nighean féin) gu dol a ſteach a dh'ionnſuidh an righ, cha d'iarr i ni air bith ach na dh'orduich Hegai, caillteanach an righ, fear-gleidhidh nam ban: agus fhuair Eſter gean-maith nan sùilibh-ſan uile a dh'amhairc oirre.

16 Agus thugadh Eſter a dh'ionnſuidh an righ Ahaſueruis, a dh'ionnſuidh a thighe rìoghail, anns an deicheamh mios (*is* e ſin mios Thebeit) anns an t-ſeachdamh bliadhna d'a rìoghachadh.

17 Agus ghràdhaich an righ Eſter os cionn nam ban uile, agus fhuair i gean-maith agus caoimhneas na làthair os cionn nan òighean uile; agus chuir e an crùn rìoghail air a ceann, agus rinn e na ban-righinn i an àite Bhaſti.

18 An ſin rinn an righ fleadh mòr d'a uachdaranaibh uile agus d'a ſheirbhiſich, fleadh Eſteir, agus thug e ſaorſa do na mòr-roinnibh, agus thug e ſeachad tiodhlacan, mar bu chubhaidh do'n righ.

19 Agus an uair a chruinnicheadh na h-òighean an dara uair, an ſin ſhuidh Mordecai ann an geatadh an righ.

20 Cha d'innis Eſter *fathaſt* a luchd-dàimh, no a ſluagh, mar a dh'àithn Mordecai dh'i; oir rinn Eſter iarrtus Mhordecai, mar a rinn i 'nuair a dh'àraicheadh i maille ris.

21 Anns na laithibh ſin, an uair a bha Mordecai na ſhuidhe ann an geatadh an righ, bha fearg air Bigtan agus Teres, dithis do chaillteanachaibh an righ, dhiubhſan a bha coimhead an doruis, agus dh'iarr iad làmh a chur anns an righ Ahaſuerus.

22 Agus fhuair Mordecai fios air an ni ſin, agus dh'innis ſe *e* do Eſter a' bhan-righinn; agus dh'innis Eſter *e* do'n righ ann an ainm Mhordecai.

23 Agus rannſaicheadh an ni, agus fhuaradh a mach e, agus chrochadh ſuas iad le chéile air crann: agus ſcrìobhadh e ann an leabhar nan eachdraidh am fianuis an righ.

CAIB. III.

AN déigh nan nithe ſin rinn an righ Ahaſuerus Haman, mac Hamedata an t-Agagach, *na dhuine* mòr, agus dh'ardaich ſe e, agus chuir e 'àite-ſuidhe os cionn nan uachdaran uile a *bha* maille ris.

2 Agus chrom na ſeirbhiſich uile a *bha* ann an geatadh an righ iad féin, agus thug iad urram do Haman, oir dh'àithn an righ mar ſin d'a

thaobh,

a *gach* neach.

b *car, ſeal.*

thaobh, ach cha do chrom Morde-
cai e fèin, agus cha d'thug e urram
dha.

3 Agus thubhairt seirbhisich an
righ, a *bha* ann an geatadh an righ,
ri Mordecai, C'ar son a tha thu a'
briseadh àithne an righ?

4 Agus an uair a labhair iad ris
là 'n deigh là, agus nach d'éisd e riu,
an sin dh'innis iad *e* do Haman, a
dh'fheuchainn an seasadh briathra
Mhordecai; oir dh'innis e dhoibh
gu'm *b*'Iudhach e.

5 Agus chunnaic Haman nach do
chrom Mordecai e féin, agus nach
d'thug e urram dha, agus bha Haman
làn feirge.

6 Agus cha b'fhiù leis làmh a
chur ann am Mordecai na aonar, oir
nochd iad da sluagh Mhordecai; ui-
me sin dh'iarr Haman na h-Iudhaich
uile a sgrios a *bha* ann an uile rìogh-
achd Ahasueruis, sluagh Mhordecai.

7 Anns a' cheud mhìos (*is* e sin
mìos Nisain) anns an dara bliadhna
deug do righ Ahasuerus, thilgeadh [a]
Pur, is e *sin* an crannchur, an làthair
Hamain, o là gu là, agus o mhìos gu
mìos, *gus* an dara *mìos* deug, *is* e sin
mìos Adair.

8 Agus thubhairt Haman ri righ
Ahasuerus, Tha sluagh àraidh ann
air an sgaoileadh agus air an roinn
am measg an t-sluaigh ann an uile
mhòr-roinnibh do rìoghachd, agus
tha laghanna air leth aca seach gach
sluagh, agus cha 'n'eil iad a' coimh-
ead laghanna an righ; uime sin cha
'n'*eil* e air son leas an righ am ful-
ang.

9 Ma's toil leis an righ, scrìobhar
gu'm bi iad air an sgrios, agus ìoc-
aidh mise deich mìle tàlann airgid
d'an làimh-san a ni an gnothuch [b],
chum *a* thabhairt do ionmhasaibh an
righ.

10 Agus thug an righ 'fhàinne
bhàrr a làimhe, agus thug se *e* do
Haman mac Hamedata an t-Agagach,
nàmhaid nan Iudhach.

11 Agus thubhairt an righ ri Ha-
man, *Tha*'n t-airgiod air a thabhairt
duit, agus an sluagh, a dheanamh riu
mar *is* àill leat.

12 Agus ghairmeadh scrìobhuich-
ean an righ air an treas latha deug
do'n cheud mhìos, agus scrìobhadh,
a réir gach *ni* a dh'àithn Haman,
chum ard riaghlairean an righ, agus
a chum nan uachdaran a *bha* os
cionn gach mòr-roinne, agus a chum
cheann-feadhna [c] gach sluaigh, *chum*
gach mòr-roinne a réir an scrìobh-
aidh, agus a *chum* gach sluaigh a réir
an cànain: ann an ainm an righ A-
hasueruis scrìobhadh *e*, agus sheul-
aicheadh *e* le fàinne an righ.

13 Agus chuireadh na litrichean
le làimh ghillean-ruithe gu uile mhòr-
roinnibh an righ, a sgrios, a mharbh-
adh, agus a chur as do na h-Iudhaich
uile, eadar òg agus sean, chloinn
bhig agus mhnaibh, ann an aon
latha, air an treas *latha* deug do'n
dara mìos deug, (*is* e sin mìos A-
dair) agus am feudail [d] *a thogail*
mar chreich.

14 *B'e* dùblachadh an scrìobhaidh,
Gu'n dtbugta àithne seachad anns
gach mòr-roinn, air a foillseachadh
do gach sluagh, iad a bhi deas fa
chomhair an là sin.

15 Chaidh na gillean-ruithe a
mach, air an greasadh le h-àithne an
righ; agus thugadh an t-ordugh
seachad ann an Susan an lùchairt:
agus shuidh an righ agus Haman sìos
a dh'òl; ach bha'm baile Susan fa
amhluadh [e].

CAIB. IV.

AN uair a dh'aithnich Mordecai
gach *ni* a rinneadh, reub e [f]
'eudach, agus chuir e saic-eudach air
agus luaithre, agus chaidh e mach
gu meadhon a' bhaile, agus ghlaodh
e le glaodh ard agus searbh.

2 Agus thàinig e eadhon fa
chomhair geataidh an righ: oir cha
'n fheudadh neach air bith dol a
stigh do gheatadh an righ le saic-eud-
ach air.

3 Agus anns gach uile mhòr-
roinn d'an d'thàinig focal an righ a-
gus

a *thilg e.* b *do làimh an luchd-ghnothuiche.* c *cheannard.* d *am
maoin.* e *iomcheist.* f *Mordecai.* Eabh.

gus 'orduigh, *bha* bròn mòr am meaſg
nan Iudhach, agus troſgadh, agus
gul, agus caoidh, agus luidh mòran
ann an ſaic-eudach agus an luaithre.
4 Agus thàinig maighdeanan Eſ-
teir agus a caillteanaich, agus dh'in-
nis iad ſin d'i. Agus bha a' bhan-
righinn ro-dhoilgheaſach, agus chuir
i eudach gu bhi air a chur air Mor-
decai, agus gu'n dthugta 'eudach-
ſaice dheth: ach cha ghabhadh eſan
e.
5 An ſin ghoir Eſter air Hatach
aon do chaillteanachaibh an righ,
d'an d'orduich e feitheamh oirre, a-
gus thug i àithne dha gu Mordecai,
gu'm faigheadh e fios ciod e ſo, agus
c'ar ſon ſo.
6 Agus chaidh Hatach a mach
a dh'ionnſuidh Mhordecai, gu ſràid
a' bhaile, a *bha* fa chomhair geataidh
an righ.
7 Agus dh'innis Mordecai dha
gach *ni* a thachair dha, agus an
t-ſuim airgid a gheall Haman a
thomhas a ſtigh do ionmhaſaibh an
righ air ſon [a] nan Iudhach, chum an
ſgrios.
8 Agus thug e dha dùblachadh
ſcrìobhaidh an orduigh, a thugadh
ann an Suſan gus an ſgrios, chum
'fheuchainn do Eſter, agus a chur an
céill d'i, agus a dh'àithneadh dh'i
gu'n rachadh i ſtigh a dh'ionnſuidh
an righ, a dh'aſlachadh air, agus a
ghuidheadh air [b] as leth a ſluaigh.
9 Agus thàinig Hatach, agus
dh'innis e do Eſter briathra Mhor-
decai.
10 Agus labhair Eſter ri Hatach,
agus thug i àithne dha gu Morde-
cai;
11 Tha fios aig ſeirbhiſich an righ
uile, agus aig ſluagh mhòr-roinnean
an righ, ge b'e air bith fear no bean
a théid a ſteach a dh'ionnſuidh an
righ do'n chùirt a's faide a ſtigh, air
nach goirear, *gu bheil* aon lagh aige
a chur gu-bàs, ach a mhàin eſan d'an
sìn an righ a mach a ſhlat-òir riogh-
ail, a chum gu'm bi e beo; ach cha
do ghoireadh ormſa teachd a ſteach a
dh'ionnſuidh an righ na deich latha
fichead ſo.
12 Agus dh'innis iad do Mhorde-
cai briathran Eſteir.
13 Agus dh'àithn Mordecai freag-
radh a thoirt do Eſter, Na ſmuainich
agad féin gu'n dthéid thu as ann an
tigh an righ ni's mò na na h-Iudhaich
uile:
14 Oir ma bhitheas tuſa gu tur
a'd'thoſd ſan àm ſo, thig laſachadh
agus ſaorſa do na h-Iudhachaibh o
àit eile, ach ſgrioſar thuſa agus tigh
t'athar: agus cò aig am bheil fios
nach ann air ſon a leithid ſo do àm a
thàinig thu do'n rìoghalachd [c]?
15 An ſin dh'iarr Eſter *am* freag-
radh *ſo* a thoirt do Mhordecai:
16 Falbh, cruinnich r'a chéile na
h-Iudhaich uile a gheibhear ann an
Suſan, agus troiſgibh air mo ſhon-ſa,
agus na h-ithibh agus na h-òlaibh rè
thri laithean, a là no dh'oidhche:
troiſgidh miſe agus mo mhaighdean-
an air an dòigh cheudna, agus an
ſin théid mi a ſtigh a dh'ionnſuidh
an righ, ni nach 'eil a réir an lagha;
agus mar ſin ma bhàſaicheas mi, bàſ-
aicheam.
17 Agus dh'imich Mordecai, agus
rinn e a réir gach *ni* a dh'àithn Eſ-
ter dha.

CAIB. V.

ANIS air an treas là chuir Eſter
oirre a [culaidh] rìoghail, agus
ſheas i anns a' chùirt a b'fhaide ſteach
de thigh an righ, fa chomhair tighe
an righ: agus *bha*'n righ na ſhuidhe
air a righ-chathair anns an tigh
rìoghail, fa chomhair geatadh an
tighe.
2 Agus an uair a chunnaic an
righ Eſter a' bhan-righinn na ſeat-
amh anns a' chùirt, fhuair i deagh-
ghean na ſhealladh: agus ſhìn an
righ a mach gu Eſter an t-ſlat-òir
rìoghail a *bha* na làimh; agus thàinig
Eſter am fagus, agus bhean i ri bàrr
na ſlaite.
3 An ſin thubhairt an righ rithe,
Ciod a's àill leat, a bhan-righinn
Eſter, agus ciod e t'iarrtus? gu
ruig leth na rìoghachd bheirear
dhuit e.
4 Agus fhreagair Eſter, Ma's maith
leis

a *an aghaidh.* b *na làthair.* c *inbhe rìoghail.*

leis an righ, thigeadh an righ agus Haman an diugh a dhionnſuidh na fleadha a dheaſaich mi dha.

5 Agus thubhairt an righ, Greaſaibh Haman a dheanamh mar a thubhairt Eſter. Agus thàinig an righ agus Haman a dh'ionnſuidh na fleadha a dheaſaich Eſter.

6 Agus thubhairt an righ ri Eſter aig fleadh an fhìona, Ciod i t'athchuinge, agus bheirear dhuit i? agus ciod e t'iarrtus? agus gu ruig leth na rioghachd nithear e.

7 Agus fhreagair Eſter, agus thubhairt i, Is i m'athchuinge agus m'iarrtus;

8 Ma fhuair mi deagh-ghean ann an ſealladh an righ, agus ma's maith leis an righ m'athchuinge a dheònachadh, agus m'iarrtus a dheanamh, thigeadh an righ agus Haman a dh'ionnſuidh na fleadha a dheaſaicheas mi dhoibh, agus am màireach ni mi a rèir focail an righ.

9 Agus chaidh Haman a mach air an là ſin aoibhneach agus ſubhach na chridhe: ach an uair a chunnaic Haman Mordecai ann an geatadh an righ, agus nach d'éirich e, agus nach do charuich e air a ſhon, bha e[a] làn feirge an aghaidh Mhordecai.

10 Gidheadh chum Haman air féin, agus chaidh e dhachaidh; agus chuir e *fios* uaith, agus thug e air a chàirdibh teachd d'a ionnſuidh, agus air Seres a mhnaoi.

11 Agus chuir Haman an céill doibh mòralachd a bheartais, agus lionmhoireachd a mhac, agus gach *ni* leis an d'rinn an righ mòr e, agus mar a dh'ardaich ſe e os cionn nan uachdaran agus ſheirbhiſeach an righ.

12 Thubhairt Haman mar an ceudna, Os bàrr, cha d'thug Eſter a' bhan-righinn duine air bith a ſtigh maille ris an righ dh'ionnſuidh na fleadha a dheaſaich i, ach mi féin; agus mar an ceudna am màireach, tha mi air mo chuireadh leatha maille ris an righ.

13 Gidheadh cha dean ſo uile a bheag do mhaith dhomh, am feadh a chi mi Mordecai an t-Iudhach na ſhuidhe ann an geatadh an righ.

14 Agus thubhairt Seres a bhean ris, agus a chàirdean uile, Deanar croich leth-cheud làmh-choille air airde, agus anns a' mhaduinn labhair ris an righ gu'n crochar Mordecai oirre, agus gabh a ſteach maille ris an righ dh'ionnſuidh na fleadha gu ſubhach. Agus thaitinn an ni ri Haman, agus thug e fa'near a' chroich a bhi air a deanamh.

CAIB. VI.

AIR an oidhche ſin theich codal an righ uaith, agus dh'iarr e leabhar-cuimhne nan eachdraidh lathail a bhi air a thabhairt d'a ionnſuidh; agus leughadh iad am fianuis an righ.

2 Agus fhuaradh ſgrìobhta, gu'n d'innis Mordecai air Bigtana[b] agus air Teres, dithis do chaillteanachaibh an righ, dhiubhſan a bha coimhead an doruis, a dh'iarr làmh a chur ann an righ Ahaſuerus.

3 Agus thubhairt an righ, Ciod an t-urram agus an inbhe a thugadh do Mhordecai air ſon ſo? Agus thubhairt òglaich an righ a fhritheil dha, Cha d'rinneadh ni air bith air a ſhon.

4 Agus thubhairt an righ, *Cò a tha* ſa' chùirt? (a nis bha Haman air teachd do chùirt tighe an righ a b'fhaide a mach, a labhairt ris an righ, gu'm biodh Mordecai air a chrochadh air a' chroich a dheaſaich e dha,)

5 Agus thubhairt òglaich an righ ris, Feuch, *tha* Haman na ſheaſamh anns a' chùirt. Agus thubhairt an righ, Thigeadh e ſtigh.

6 Agus thainig Haman a ſtigh; agus thubhairt an righ ris, Ciod a nithear do'n duine air an toil leis an righ urram a chur? (A nis thubhairt[c] Haman na chridhe, Cò air an toil leis an righ urram a chur ni's mò na orm féin?)

7 Agus fhreagair Haman an righ, Air ſon an duine air an toil leis an righ urram a chur,

8 Thugar

a *Haman.* b *Bigtan*, Caib. II. r. 21. c *ſmuainich.*

8 Thugar a làthair a' chulaidh [a] rìoghail a chuireas an righ air, agus an t-each air am marcaich an righ, agus an crùn rìoghail a chuirear air a cheann:

9 Agus thugar a' chulaidh agus an t-each do làimh aoin do uachdaranaibh ro-urramach an righ, agus ſgeadaicheadh iad an duine air an toil leis an righ urram a chur, agus thugadh iad air marcachd air an each air ſràid a' bhaile mhòir [b], agus gairmeadh iad roimhe, Mar ſo nithear do'n duine air an toil leis an righ urram a chur.

10 Agus thubhairt an righ ri Haman, Greas [c] ort, gabh a' chulaidh agus an t-each mar a thubhairt thu, agus dean mar ſin do Mhordecai an t-Iudhach, a tha na ſhuidhe ann an geatadh an righ: na dearmaid ni air bith do na thubhairt thu.

11 An ſin ghabh Haman a' chulaidh agus an t-each, agus ſgeadaich e Mordecai, agus thug e air marcachd air ſràid a' bhaile mhòir, agus ghairm e roimhe, Mar ſo nithear do'n duine air an toil leis an righ urram a chur.

12 Agus phill Mordecai gu geatadh an righ: ach ghreas Haman d'a thigh féin ri bròn, agus a cheann còmhdaichte [d].

13 Agus dh'innis Haman do Sheres a bhean, agus d'a chairdibh uile gach *ni* a thachair dha. Agus thubhairt a dhaoine glice agus Seres a bhean ris, Ma's ann do ſhliochd nan Iudhach Mordecai, roimh an do thòiſich thu air tuiteam, cha bhuadhaich thu na aghaidh, ach gun teagamh tuitidh tu roimhe.

14 An uair a bha iad fathast a' labhairt ris, thàinig caillteanaich an righ, agus rinn iad deifir gu Haman a thabhairt a dh'ionnſuidh na fleadha a dheaſaich Eſter.

CAIB. VII.

AGUS thàinig an righ agus Haman chum na fleadha maille ri Eſter a' bhan-righinn [e].

2 Agus thubhairt an righ ri Eſter mar an ceudna air an dara là aig fleadh an fhìona, Ciod i t'athchuinge, a bhan-righinn Eſter? agus bheirear dhuit i: agus ciod e t'iarrtus? agus gu ruig leth na rìoghachd nithear e.

3 Agus fhreagair Eſter a' bhan-righinn, agus thubhairt i, Ma fhuair mi deagh-ghean a'd' ſhùilibh, a righ, agus ma's maith leis an righ, thugar dhomh m'anam air m'athchuinge, agus mo ſhluagh air m'iarrtus:

4 Oir reiceadh ſinn, miſe agus mo ſhluagh, gu bhi air ar ditheachadh [f], air ar marbhadh, agus air ar léirſgrios: ach nam b'ann mar thràillibh agus mar bhan-tràillibh a reiceadh ſinn, bhithinn a'm' thoſd, ge nach b'urrainn an nàmhaid call [g] an righ a dheanamh ſuas.

5 Agus fhreagair righ Ahaſuerus, agus thubhairt e ri Eſter a' bhan-righinn, Cò e ſo? agus c'àit am bheil eſan, aig an robh a dhànadas na chridhe deanamh mar ſin?

6 Agus thubhairt Eſter, Is e 'n t-eaſcaraid agus an nàmhaid Haman an droch dhuine ſo. Agus bha eagal air Haman an làthair an righ agus na ban-righinn.

7 Agus dh'éirich an righ na fheirg o fhleadh an fhìona, *agus chaidh e* do lios na lùchairte [h]; agus ſheas Haman gu 'anam a ghuidhe o Eſter a' bhan-righinn; oir chunnaic e gu'n do ſhònraicheadh olc na aghaidh leis an righ.

8 Agus phill an righ o lios na lùchairte gu tigh fleadh an fhìona, agus *bha* Haman air tuiteam air an leabaidh air *an robh* Eſter. Agus thubhairt an righ, An éignich e a' bhan-righinn mar an ceudna a'm' làthair ann am thigh? An uair a chaidh am focal a beul an righ, chòmhdaich iad aghaidh Hamain.

9 Agus thubhairt Harbonah aon do na caillteanachaibh an làthair an righ, Feuch, *tha* mar an ceudna a' chroich a rinn Haman do Mhordecai, a labhair maith air ſon an righ, na

ſeaſamh

a *an truſcan, deiſe.* b *tre ſbràid na cathrach.* c *Luathaich.* d *folach air a cheann.* e *bhan-ri'n.* f *milleadh, ſgrios.* g *calldach.* h *do lios an tighe, do'n lios a b'ſhaide ſtigh.*

ſeaſamh ann an tigh Hamain, leth-cheud làmh-choiſle air airde. Agus thubhairt an righ, Crochaibh e oirre.

10 Agus chroch iad Haman air a' chroich a dheaſaich e do Mhordecai. Agus thraogh fearg an righ.

CAIB. VIII.

AIR an là ſin thug an righ Ahaſuerus tigh Hamain, eaſcaraid nan Iudhach, do Eſter a' bhan-righinn; agus thàinig Mordecai an làthair an righ: oir dh'innis Eſter ciod e dh'i [a].

2 Agus thug an righ dheth 'fhàinne a thug e o Haman, agus thug ſe e do Mhordecai. Agus chuir Eſter Mordecai os-cionn tighe Hamain.

3 Agus labhair Eſter a rìs an làthair an righ, agus thuit i sìos aig a chosaibh, agus ghuil i, agus ghuidh i air gu'n cuireadh e air falbh olc Hamain an Agagaich, agus 'aiſinnleachd a dhealbh [b] e an aghaidh nan Iudhach.

4 Agus ſhìn an righ a mach an t-ſlat-òir rìoghail gu h-Eſter. Agus dh'éirich Eſter, agus ſheas i an làthair an righ,

5 Agus thubhairt i, Ma's maith leis an righ, agus ma fhuair miſe deagh-ghean na làthair, agus ma *ta* an ni ceart am fianuis an righ, agus ma *ta* mi taitneach na ſhùilibh, ſcrìobhar a ghairm air an ais nan litrichean a dhealbhadh le Haman mac Hamedata an t-Agagach, a ſcrìobh e chum na h-Iudhaich a *ta* ann an uile mhòr-roinnibh an righ a ſgrios.

6 Oir cionnas is urrainn mi amharc air an olc a thig air mo ſhluagh? agus cionnas is urrainn mi amharc air ſgrios mo luchd-dàimh?

7 An ſin thubhairt an righ Ahaſuerus ri Eſter a' bhan-righinn, agus ri Mordecai an t-Iudhach, Feuch, tigh Hamain thug mi do Eſter, agus eſan chroch iad air a' chroich, a chionn gu'n do chuir e a làmh anns na h-Iudhachaibh.

8 Scrìobhaibhſe mar an ceudna air ſon nan Iudhach mar is maith leibh ann an ainm an righ, agus ſeulaichibh le fàinne an righ: oir an ſcrìobhadh a ſcrìobhar ann an ainm an righ, agus a ſheulaichear le fàinne an righ, cha 'n fheudar a chur air ais.

9 Uime ſin ghairmeadh ſcrìobhuichean an righ air an àm ſin anns an treas mìos (*is* e ſin mìos Shibhain) air an treas *latha* fichead dheth, agus ſcrìobhadh, a réir gach *ni* a dh'àithn Mordecai, chum nan Iudhach, agus a chum nan ard-riaghlair [c], agus nan ceannard agus uachdarana nam mòr-roinn [d] a *tha* o India gu h-Etiopia, ceud fichead agus ſeachd mòr-roinn, *chum* gach mòr-roinne a réir an ſcrìobhaidh, agus *a chum* gach ſluaigh a réir an cànain [e], agus a chum nan Iudhach a réir an ſcrìobhaidh, agus a réir an cànain.

10 Agus ſcrìobh e ann an ainm an righ Ahaſuerus, agus ſheulaich e le fàinne an righ, agus chuir e litrichean le làimh ghillean-ruithe [f] air eachaibh, a' marcachd air eachaibh luatha, agus air muileidibh, mic nan caball [g];

11 Anns an d'thug an righ cead do na h-Iudhachaibh, a *bha* anns gach baile, cruinneachadh an ceann a cheile, agus ſeaſamh air ſon an anama, a ſgrios, a mharbhadh, agus a chur as do uile neart ſluaigh agus mòr-roinne a thigeadh nan aghaidh [h], *araon an* clann bheag agus *am* mnài, agus an creach a thogail,

12 Air aon latha ann an uile mhòr-roinnibh an righ Ahaſuerus, air an treas *latha* deug do'n dara mìos deug (*is* e ſin mìos Adair).

13 *B*'e dùblachadh an ſcrìobhaidh, Gu'n dthugta àithne ſeachad anns gach mòr-roinn, air a foillſeachadh do gach ſluagh, gu'm biodh na h-Iudhaich deas air an là ſin gu'n dìoladh féin [i] air an naimhdibh.

14 Chaidh

a *mar* a bha *e dh'i.* b *a dhroch ſmuainte a ſmuainich e.* c *ſearàite an righ.* d *mòr-earrann.* e *cainnte.* f *theachdairean, phoſt.* g agus *marcaich air muileidibh, càmhalaibh,* agus *dromedairibh òga.* h *a bheireadh ionnſuidh orra.* i *gu dìoghaltas a dheanamh.*

14 Chaidh na gillean-ruithe [a] a
mach, a' marcachd air eachaibh
luatha, [agus] air muileidibh [b], le
cabhaig, agus iad air an greaſadh le
àithne an righ; agus thugadh an
t-ordugh ſeachad ann an Suſan an
lùchairt.
15 Agus chaidh Mordecai mach
as làthair an righ ann an eudach
rìoghail do ghorm agus do gheal, a-
gus le crùn mòr òir, agus le truſgan
do anart grinn agus do chorcur: agus
rinn baile Shuſain gairdeachas, agus
bha e aoibhinn.
16 Aig na h-Iudhachaibh bha ſo-
lus, agus aoibhneas, agus gairdeach-
as, agus urram.
17 Agus anns gach mòr-roinn a-
gus anns gach baile, ge b'e àit d'an
d'thàinig àithne an righ agus 'ordugh,
bha aoibhneas agus gairdeachas aig
na h-Iudhachaibh, cuirm agus latha
maith. Agus dh'fhàs mòran do
ſhluagh na tìre nan Iudhachaibh; oir
thuit eagal nan Iudhach orra.

CAIB. IX.

ANIS anns an dara mìos deug
(*is* e ſin mìos Adair) air an
treas latha deug do'n *mhios*, air an
robh àithne an righ agus 'ordugh gu
bhi air an coimhlìonadh, air an là
anns an robh dùil aig naimhdibh nan
Iudhach cumhachd fhaghail os an
cionn, (ge do thachair, air a' chaoch-
ladh, gu'n robh aig na h-Iudhaich
cumhachd os an cionn-ſan a dh'fhuath-
aich iad,)
2 Chruinnich na h-Iudhaich iad
fein an cionn a chéile nam bailtibh,
ann an uile mhòr-roinnibh an righ
Ahaſueruis, gu làmh a chur annta-
ſan a dh'iarr an cron; agus cha b'ur-
rainn duine air bith ſeaſamh nan agh-
aidh, oir thuit an eagal air gach uile
ſhluagh.
3 Agus thug uile uachdarana nam
mòr-roinn agus na h-ard riaghlair-
ean, agus na ceannardan, agus iadſan
a rinn gnothuichean an righ, urram
do na h-Iudhachaibh [c]; oir thuit ea-
gal Mhordecai orra:
4 Oir bha Mordecai mòr ann an
tigh an righ, agus chaidh 'iomradh a
mach air feadh nam mòr-roinn uile;
oir dh'fhàs an duine ſo Mordecai ni
bu mhò agus ni bu mhò.
5 Agus bhuail na h-Iudhaich an
naimhdean uile le buille a' chlaidh-
eimh, agus àir, agus ſgrios; agus rinn
iad mar bu mhiann leo orra-ſan a
dh'fhuathaich iad.
6 Agus ann an Suſan an lùchairt
mharbh na h-Iudhaich, agus ſgrios
iad cùig ceud fear.
7 Agus Parſandata, agus Dalphon,
agus Aſpata,
8 Agus Porata, agus Adalia, agus
Aridata,
9 Agus Parmaſta, agus Ariſai, a-
gus Aridai, agus Bhaieſata,
10 Deich mic Hamain mhic Ha-
medata, nàmhaid nan Iudhach, mharbh
iad: ach air a' chreich cha do chuir
iad an làmh.
11 Air an là ſin thugadh àireamh
na muinntir a mharbhadh ann an
Suſan an lùchairt an làthair an righ.
12 Agus thubhairt an righ ri Eſ-
ter a' bhan-righinn, Mharbh na
h-Iudhaich agus ſgrios iad cùig ceud
fear ann an Suſan an lùchairt, agus
deich mic Hamain: agus anns a' chuid
eile do mhòr-roinnibh an righ ciod a
rinn iad? ach ciod i t'athchuinge?
agus bheirear dhuit i: agus ciod e
t'iarrtus os-bàrr? agus nìthear e.
13 Agus thubhairt Eſter, Ma's
maith leis an righ, thugar comas do
na h-Iudhachaibh a *tha* ann an Suſan,
deanamh mar an ceudna am màir-
each a réir orduigh an là'n diugh, a-
gus crochair deich mic Hamain air a'
chroich.
14 Agus dh'àithn an righ a dhean-
amh mar ſin, agus thugadh an t-or-
dugh ann an Suſan; agus chroch iad
deich mic Hamain:
15 Agus chruinnich na h-Iudhaich
a *bha* ann an Suſan an cionn a chéile
mar an ceudna air a' cheathramh
latha deug do mhìos Adair, agus
mharbh iad ann an Suſan tri cheud
fear; ach air a' chreich cha do chuir
iad an làmh.

16 Agus

a *teachdairean.* b *air muileidibh agus càmhalaibh.* c *dh'ardaich iad, chuidich iad leis na h-Iudhachaibh.*

16 Agus chruinnich a' chuid eile do na h-Iudhachaibh a *bha* ann am mòr-roinnibh an righ an cionn a chéile, agus fheas iad air fon an anama, agus bha fois aca o'n naimhdibh, agus mharbh iad d'an eafcairdibh cùig-deug agus tri fichead mìle ; ach air a' chreich cha do chuir iad an làmh.

17 Air an treas latha deug do mhìos Adair *rinn iad mar so ;* agus bha fois aca air a' cheathramh latha deug do'n *mhìos* cheudna, agus rinn iad e na latha cuirme agus aoibhneis.

18 Ach chruinnich na h-Iudhaich a *bha* ann an Sufan iad féin an cionn a chéile air an treas *latha* deug, agus air a' cheathramh *latha* deug do'n *mhìos* ; agus bha fois aca air a' chùigeadh latha deug do'n *mhìos* cheudna, agus rinn iad e na latha cuirme agus aoibhneis.

19 Uime fin rinn Iudhaich nam bailte beaga, a bha nan còmhnuidh ann am bailtibh nàm mòr-roinn [a], an ceathramh latha deug do mhìos Adair *na latha* aoibhneis, agus cuirme, agus na *latha* maith, agus a chur chuibhrionn a chum a chéile.

20 Agus fcrìobh Mordecai na nithe so, agus chuir e litriche chum nan Iudhach uile a *bha* ann an uile mhòr-roinnibh an righ Ahafueruis, am fad 's am fagus ;

21 Chum a fhuidheachadh nam meafg, gu'n cumadh iad an ceathramh latha deug do mhìos Adair, agus an cùigeadh latha deug dheth gach bliadhna,

22 A réir nan laithean anns an d'fhuair na h-Iudhaich fois o'n naimhdibh, agus a' mhìos a dh'iompoicheadh dhoibh o thuirse gu h-aoibhneas, agus a bhròn gu h-àm [b] maith ; gu'n deanadh fiad iad nan laithibh cuirme, agus aoibhneis, agus a chur chuibhrionn chum a chéile, agus thiodhlacadh chum nam bochd.

23 Agus ghabh na h-Iudhaich os làimh deanamh mar a thòifich iad, agus mar a fcrìobh Mordecai d'an ionnfuidh.

24 A chionn gu'n do fmuainich [c] Haman mac Hamedata an t-Agagach, nàmhaid nan Iudhach uile, an aghaidh nan Iudhach chum an fgrios, agus gu'n do thilg e Pur (*is* e fin, crannchur) chum an dìtheachadh agus an fgrios.

25 Ach an uair a thàinig [Efter] an làthair an righ, dh'orduich e le litir, gu'm pilleadh 'aifinnleachd donadh [d] a dhealbh e 'n aghaidh nan Iudhach air a cheann féin, agus gu'm biodh efan agus a mhic air an crochadh air a' chroich.

26 Uime fin dh'ainmich iad na laithean fin *Purim*, a réir ainme *Phuir* : *Air an aobhar fin* air fon uile bhriathar na litireach fin, agus na chunnaic *iad* a thaobh an ni so, agus na thachair dhoibh,

27 Shuidhich [e] na h-Iudhaich, agus ghabh iad orra féin agus air an fhiochd, agus orra-fan uile a leanadh riu, air chor as nach rachta thairis air, gu'n cumadh iad an dà latha fin a réir an fcrìobhaidh, agus a réir an àm, anns gach bliadhna :

28 Agus *gu'm biodh* na laithean fin air an cuimhneachadh agus air an cumail air feadh gach àil, gach teaghlaich, gach mòr-roinne, agus gach baile ; agus nach leigte sìos [f] na laithean fin Phurim am meafg nan Iudhach, agus nach rachadh as d'an cuimhne o'n fhiochd.

29 Agus fcrìobh a bhan-righinn Efter nighean Abihail, agus Mordecai an t-Iudhach, leis an uile ùghdarras, a dhaingneachadh na dara litireach fo Phurim.

30 Agus chuir e litriche chum nan Iudhach uile, chum a' cheud agus nan feachd mòr-roinn fhichead do rìoghachd Ahafueruis, le briathraibh sìth agus fìrinn,

31 A dhaingneachadh laithean fin Phurim nan amannaibh, mar a fhuidhich Mordecai an t-Iudhach agus Efter a' bhan-righinn d'an taobh, agus mar a dh'òrduich iad air an fon féin,

agus

a *anns na bailtibh gun bhallaibh*. b *latha*. Eabh. c *thùr*. d *an t-aimhleis, a dhroch fhnuainte*. e *dh'orduich*. f *rachar thairis air*.

agus air son an sliochd nithe nan
trosgadh agus an éighich.
32 Agus dhaingnich ordugh Esteir
nithe Phurim sin, agus sgrìobhadh e
ann an leabhar.

CAIB. X.

AGUS chuir an righ Ahasuerus
cìs air an tìr, agus *air* eilean-
aibh na mara.
2 Agus uile ghnìomharan a thréine
agus a chumhachd, agus foillseachadh
mòrachd Mhordecai chum an[a] d'ard
aich an righ e, nach *'eil* iad sgrìobh-
ta ann an leabhar eachdraidh righrean
Mhedia agus Phersia?
3 Oir *b'e* Mordecai an t-Iudhach
a b'fhaigse do righ Ahasuerus; agus
bha e mòr am measg nan Iudhach,
agus taitneach do mhòr chuideachd
a bhràithrean, ag iarraidh maith[b]
d'a shluagh, agus a' labhairt sìth r'a
shliochd uile.

a *leis an.* b *soirbheis beartais.*

I O B.

CAIB. I.

BHA duine ann an tìr Uis, d'am
b'ainm Iob; agus bha'n duine
ſin coimhlionta [a] agus dìreach [b], agus
na neach air an robh eagal Dé, agus
a ſheachainn olc.
2 Agus rugadh dha ſeachd mic, a-
gus tri nigheana.
3 Agus b'i a mhaoin [c] ſeachd
mìle caora, agus tri mìle càmhal, a-
gus cùig ceud cuing dhamh, agus cùig
ceud aſal bhoirionn [d], agus teaghlach
ro-mhòr: agus bha 'n duine ſin mòr
os cionn uile dhaoine na h-airde 'n
ear.
4 Agus chaidh a mhic agus rinn
iad cuirm aig an tigh, gach fear air a
latha féin; agus chuir iad *fios*, agus
thug iad cuire d'an tri peathraich-
ibh a dh'itheadh agus a dh'òl maille
riu.
5 Agus anuair a chaidh laithean
na cuirme mu'n cuairt, chuir Iob *fios*
orra, agus naomhaich e iad; agus
dh'éirich e moch fa' mhaduinn, agus
dh'iobair e ìobairte-loiſgte *a réir* an
àireimh uile: oir thubhairt Iob,
Theagamh gu'n do pheacaich mo
mhic, agus gu'n do mhallaich iad Dia
nan cridhe. Mar ſo rinn Iob gach
latha.
6 A nis bha à air an d'thàinig
mic Dhé gu ſeaſamh an làthair an
Tighearna; agus thàinig mar an
ceudna Satan nam meaſg.
7 Agus thubhairt an Tighearna
ri Satan, Cia as a thàinig thu? A-
gus fhreagair Satan an Tighearn, a-
gus thubhairt e, O imeachd mu'n
cuairt air an talamh, agus o ſhiubhal
sios agus ſuas air.
8 Agus thubhairt an Tighearna ri
Satan, An d'thug thu fa'near m'òg-
lach Iob, nach *'eil* neach ann coſ-
mhuil ris air an talamh, duine coimh-
lionta agus dìreach, air am bheil ea-
gal Dé, agus a' ſeachnadh uilc?
9 Agus fhreagair Satan an Tigh-
earn, agus thubhairt e, An ann a
naſgaidh *a tha* eagal Dhé air Iob;
10 Nach do chuir thu gàradh
mu'n cuairt air féin, agus mu'n cuairt
air a thigh, agus mu'n cuairt air
gach *ni* a *ta* aige air gach taobh?
Obair a làmh bheannaich thu, agus
dh'fhàs a mhaoin mòr ſan tìr.
11 Ach cuir a nis a mach do làmh,
agus bean ris gach *ni* a *ta* aige, agus
as an eudan mallaichidh e thu.
12 Agus thubhairt an Tighearna
ri Satan, Feuch, *tha* gach *ni* a ta
aige a'd' làimh-ſa: a mhàin air féin
na cuir do làmh. Agus chaidh Sa-
tan a mach o làthair an Tighearna.
13 Agus bha là air *an robh* a mhic
agus a nigheana ag itheadh, agus g
òl fìona ann an tigh am bràthar bu
ſhine:
14 Agus thàinig teachdaire gu
Iob, agus thubhairt e, Bha na daimh
aig ar, agus na h-aſail ag ionaltradh
làimh riu:
15 Agus leum [e] na Sabeanaich [f]
orra, agus thug iad leo iad, agus
mharbh iad na h-òglaich le faobhar a'
chlaidheimh; agus thàinig miſe a'm'
aonar as a dh'innſeadh dhuit.
16 An uair a bha e fathaſt a'
labhairt,

a *foirfe.* b *cothromach.* c *a ni a ſpréidh 'eudail.* d *bhainionn.*
e *thuit.* f *creachadairean.*

labhairt, thàinig mar an ceudna *fear*
eile, agus thubhairt e, Thuit teine
Dhé o na nèamhaibh, agus loiſg e na
caoraich agus na h-òglaich, agus
huir e as doibh; agus thàinig miſe
'm' aonar as a dh'innſeadh dhuit.
17 An uair a bha e fathaſt a'
labhairt, thàinig mar an ceudna fear
eile, agus thubhairt e, Rinn na Cal-
deanaich ſuas tri buidhnean, agus
thug iad ionnſuidh air na càmhalaibh,
agus thug iad leo iad, agus mharbh
iad na h-òglaich le faobhar a' chlaidh-
eimh; agus thàinig miſe a'm' aonar
as a dh'innſeadh dhuit.
18 An uair a bha e fathaſt a'
labhairt, thàinig mar an ceudna *fear*
eile, agus thubhairt e, *Bha* do mhic
agus do nigheana ag itheadh, agus ag
òl fiona ann an tigh am bràthar bu
ſhine:
19 Agus feuch, thàinig gaoth
mhòr o'n fhàſach, agus bhuail i air
ceithir oiſinnibh an tighe, agus thuit
e air na h-òganaich, agus tha iad
marbh; agus thàinig miſe a'm' aonar
as a dh'innſeadh dhuit.
20 An ſin dh'éirich Iob, agus reub
e 'fhalluing, agus bhearr e a cheann,
agus thuit e sìos air an talamh, agus
rinn e aoradh,
21 Agus thubhairt e, Lomnochd
thàinig mi a broinn mo mhàthar, a-
gus lomnochd pillidh mi an ſin: thug
an Tighearn uaith, agus thug an
Tighearn leis: beannuichte gu robh
ainm an Tighearna.
22 An ſo uile cha do pheacaich
Iob, agus cha do labhair e gu h-am-
aideach an aghaidh Dhé [a].

CAIB. .

ARIS bha là air an d'thàinig mic
Dhé gu ſeaſamh an làthair an
Tighearna, agus thàinig mar an ceud-
na Satan nam meaſg gu ſeaſamh an
làthair an Tighearna.
2 Agus thubhairt an Tighearna ri
Satan, Cia as a thàinig thu? Agus
fhreagair Satan an Tighearn, agus
thubhairt e, O imeachd mu'n cuairt
air an talamh, agus o ſhiubhal sìos
agus ſuas air.
3 Agus thubhairt an Tighearn ri
Satan, An d'thug thu fa'near m'og-
lach Iob, nach *'eil* neach ann coſ-
mhuil ris air an talamh, duine coimh-
lionta agus dìreach, air am bheil ea-
gal Dé, agus a' ſeachnadh uilc? a-
gus fathaſt tha e gleidheadh 'ionrac-
ais, ge do ghluais [b] thuſa mi na agh-
aidh chum a ſgrios gun aobhar.
4 Agus fhreagair Satan an Tigh-
earn, agus thubhairt e, Croicionn
air ſon croicionn, eadhon gach *ni*
a *ta* aig duine bheir e air ſon 'an-
ama.
5 Ach cuir a nis a mach do làmh,
agus bean r'a chnàimh agus r'a
fheoil, agus as an eudan mallachaidh
e thu.
6 Agus thubhairt an Tighearn ri
Satan, Feuch, *tha* e a'd' làmh-ſa,
ach caomhain 'anam.
7 Agus chaidh Satan a mach o
làthair an Tighearna, agus bhuail e
Iob le neaſgaidibh cràiteach, o
bhonn a choiſe gu mullach a chinn.
8 Agus ghabh e ſlige-chreadha
g'a ſgrìobadh féin leatha; agus
ſhuidh e am meaſg na luaithre.
9 An ſin thubhairt a bhean ris,
Am *bheil* thu fathaſt a' cumail t'ion-
racais? mallaich Dia, agus faigh
bàs.
10 Ach thubhairt eſan rithe, Mar
a labhradh aon do na mnaibh amaid-
each tha thu a' labhairt: ſeadh, an
gabh ſinn maith o làimh Dhé, agus
nach gabh ſinn olc? An ſo uile cha
do pheacaich Iob le 'bhilibh.
11 A nis an uair a chuala tri
chairdean Iob an t-olc ſo uile a thài-
nig air, thàinig iad gach fear o 'aite
féin, Eliphas an Temanach, agus
Bildad an Suhach, agus Sophar an
Naamatach; oir ſhuidhich iad ea-
torra féin [c] teachd a dheanamh bròin [d]
maille ris, agus a thabhairt comh-
fhurtachd dha.
12 Agus an uair a thog iad an
sùilean [e] fad as, agus nach d'aith-
nich iad e, thog iad an guth agus
ghuil iad, agus reub iad gach fear
'fhalluing, agus chrath iad duſlach
air an cinn a làimh nan nèamh.

a *cha do chuir e amaideachd as leth Dhé.* b *dhùiſg, bhroſnaich.* c *rinn iad coinneamh ri chéile.* d *comh-dhoilgheis.* e *an uair a dh'amhairc iad.*

Agus ſhuidh iad sìos maille ris air an talamh ſeachd laithean agus ſeachd oidhchean, agus cha do labhair neach focal ris; oir chunnaic iad gu'n robh a dhoilgheas ro-mhòr.

CAIB. III.

NA dhéigh ſo dh'fhoſgail Iob a bheul, agus mhallaich e a latha.

2 Agus labhair Iob, agus thubhairt e,

3 Rachadh as do'n là air an d'rugadh mi, agus do'n oidhche *anns* an dubhradh, Ghineadh leanabh mic.

4 Biodh an là ſin na dhorchadas; na h-iarradh Dia e [a] o'n airde, agus na dealraicheadh ſolus air.

5 Dubhadh an dorchadas agus ſgàile a' bhàis e; gabhadh neul còmhnuidh air; deanadh iad uamhaſach e mar na laithean a's ſeirbhe [b].

6 An oidhche ſin, glacadh dorchadas i; na cuirear i ri laithibh na bliadhna; ann an àireamh nam mìos na dthigeadh i.

7 Feuch, biodh an oidhche ſin aonaranach [c]; na dthigeadh fonn aoibhinn oirre [d].

8 Mallaicheadh iadſan i a mhallaicheas an latha, a tha deas a thogail Lebhiathain [e].

9 Dorchaichear reultan a dùthra [f]; amhairceadh i air ſon ſoluis, ach na *dthigeadh e*; agus na faiceadh i roſga na maidne [g]:

10 A chionn nach do dhruid i dorſa mo bhronn [h], agus nach d'fholaich i bròn [i] om' ſhùilibh.

11 C'ar ſon nach d'eug mi o'n bhroinn? *c'ar ſon*, an uair a thàinig mi às a' bholg, nach d'thug mi ſuas an deo?

12 C'ar ſon a ghabh na glùinean romham? agus c'ar ſon na cìocha, gu'n deothaiſinn?

13 Oir a nis luidhinn sìos, agus gheibhinn ſois; choidlinn, an ſin bhiodh tàmh agam;

14 Maille ri rìghribh agus comhairlichibh na talmhainn, a thog àitean aonaranach [j] dhoibh féin;

15 No maille ri h-uachdaranaibh aig *am robh* òr, a lìon an tighean le h-airgiod;

16 No mar thorraicheas anabuich [k] folaichte cha bhithinn ann, mar naoidheana nach faca ſolus.

17 An ſin ſguiridh na h-aingidh do bhuaireas [l], agus an ſin gheibh iadſan a ta ſgìth le ſaothair ſois:

18 Cuideachd bithidh tàmh aig na prìoſunaich; cha chluinn iad guth an fhir-ſhàrachaidh.

19 *Tha* am beag agus am mòr an ſin; agus an ſeirbhiſeach ſaor o 'mhaighſtir.

20 C'ar ſon a thug e do'n truagh ſolus, agus beatha dhoibhſan a ta ann an ſearbhas anama?

21 A tha gabhail fadail air ſon a' bhàis, ach cha '*n'eil* e *a' teachd*; agus a chladhaicheas air a ſhon ni's mò na air ſon ionmhaſa folaichte:

22 A ni aoibhneas ro-mhòr, *a* ni luathghaire 'nuair a gheibh iad an uaigh:

23 Do'n duine aig am bheil a ſhlighe folaichte, agus a dhruid Dia ſuas air gach taobh.

24 Oir roimh mo bhiadh thig m'oſnaich, agus taomar a mach mar uiſge mo bhùireadh.

25 Oir an ni roimh an robh eagal mòr orm, thachair e dhomh; agus an ni roimh an robh mi fa uamhann, thàinig e orm.

26 Cha robh mi an sìth, agus cha d'fhuair mi ſois, agus cha robh tàmh agam; oir thàinig buaireas [m].

CAIB. IV.

AN ſin fhreagair Eliphas an Temanach, agus thubhairt e,

2 Ma dh'fheuchas ſinn r labhairt rint,

a *na h-amhairceadh Dia air a ſhon, na biodh ſeadh aig Dia dheth.* b *cuireadh duibhre an là oillt air.* c *aonarach.* d *na dthigeadh guth aoibhinn innte.* e *na h-uilebheiſte, am bròin.* f *ſeaſgair.* g *briſeadh na fàire.* h *bronn mo mhàthar.* i *docair, doilgheas.* j *fàſail.* k *neo-inbhich.* l *aiſith.* m *fearg, triobloid.*

riut, an gabh thu gu h-olc e[a]? ach
cò a's urrainn e féin a chumail o
labhairt?
3 Feuch, theagaiſg thuſa mòran,
agus neartaich thu na làmhan laga.
4 Eſan a bha tuiteam chum do
bhriathra ſuas, agus na glùine an-
mhunn[b] neartaich thu.
5 Ach a nis thàinig e ort, agus
ghabh thu gu h-olc e[c]; bhean e
riut, agus tha thu fa amhluadh.
6 Nach e t'eagal *diadhaidh* t'earbſ-
adh, agus ionracas do ſhlighean do
dhòchas?
7 Cuimhnich, guidheam ort, cò
e an neochiontach a ſgrioſadh, no
c'àit an do ghearradh as na h-ion-
racain.
8 A rèir mar a chunnaic miſe,
iadſan a threabhas[d] euceart, agus
a chuireas aingidheachd, buainidh
iad e.
9 Le séideadh[e] Dhé ſgrioſar iad,
agus le anail a ſhròine cuirear as
doibh.
10 Tha beucaich an leòmhain, a-
gus guth an leòmhain ghairg[f], agus
fiacla nan leòmhan òg air am briſ-
eadh.
11 Tha 'n ſeann leòmhan a bàſ-
achadh dhìth cobhartaich, agus ſgar-
ar o chéile cuileana an leòmhain
bhoirinn[g].
12 Ach a m' ionnſuidh-ſa thugadh
focal[h] gu h-uaignidheach, agus
ghabh mo chluas beagan deth.
13 Ann an ſmuaintibh o aiſling-
ibh na h-oidhche, 'nuair a thuiteas
codal trom air daoinibh,
14 Thàinig eagal orm agus crith,
a thug air mo chnàmha gu léir[i]
criothnachadh:
15 Agus ghabh ſpiorad ſeachad
roimh mo ghnùis; ſheas falt mo
chuirp.
16 Sheas e, ach cha d'aithnich mi
a chruth: dealbh fa chomhair mo
ſhùl —— toſd, agus chuala mi guth:
17 Am bi duine ni's ceirte na
Dia? am bi fear ni's gloine na Chruith-
fhear?
18 Feuch, as a ſheirbhiſich cha'n
earb e, agus as leth 'aingle cuiridh e
amaideachd:
19 Nach lugha na ſin aſdaſan[j], a
a tha nan còmhnuidh ann an tighibh
creadha, aig *am bheil* am bunadh
anns an duſlach, a bhruthar roimh an
leòmann[k]?
20 O mhaduinn gu feaſgar bruth-
ar[l] iad; gun neach ann 'ga thoirt
fa'near, théid as doibh gu bràth.
21 Nach ſiubhail am feodhas air
falbh maille riu? bàſaichidh iad, a-
gus cha'n ann le gliocas.

CAIB. V.

GAIRM a nis, ma ta e ann a
fhreagaireas thu; agus cia do
na naombaibh ris an tionndaidh thu?
2 Oir marbhaidh fearg an t-am-
aideach, agus bheir tnù bàs an duine
ſhuaraich.
3 Chunnaic mi an t-amaideach a'
freumhachadh; ach mhallaich mi
'àite-còmhnuidh air ball.
4 Is fhad a bhios a mhic o thèar-
uinteachd, agus bruthar iad anns a'
gheatadh, gun neach ann gu'n teaſ-
airginn.
5 Agus ithidh an t-ocrach ſuas
'fhoghara, agus eadhon as na droigh-
nibh gabhaidh ſe e[m]: ſluigidh an
creachadar ſuas am maoin.
6 Ge nach dthig àmhghar a mach
as an duſlach, agus nach fàs carraid[n]
as an talamh;
7 Gidheadh, rugadh an duine
chum carraid, mar a dh'éireas na
ſrada[o] ſuas.
8 Ach dh'iarrainnſe dh'ionnſuidh
Dhé, agus a chum Dhé chuirinn mo
ghuth[p]:
9 A tha deanamh *nithe* mòra a-
gus do-rannſaich, *nithe* iongantach
gun àireamh:

10 A

a *am bi thu doilich.* b *laga, fanna.* c *tha thu a' fannachadh.*
d *dh'aireas.* e *anail, oſaig.* f *ſachal.* Eabh. g *bhaininn.*
h *ni.* i *lionmhoireachd mo chnàmh.* Eabh. j *Mar an ceudna nach
cuir e ſin as an leth-ſan.* k *reudan.* l *ſgrioſar.* m 5. *Na ghearras
iad ſios ſan fhoghara ithidh an t-ocrach ſuas; agus o bhioraibh cha ſaorar
iad.* n *teinn, trioblóid.* o *mic an teine.* Eabh. p *ri Dia dh'earb-
ainn mo chùis.*

10 A tha toirt fhras uisge [a] air
aghaidh na talmhainn, agus a' cur
uisgeacha air aghaidh nam machair;
11 A chum iadsan a tha iosal a
chur an aird, agus iadsan a tha
dubhach a thogail suas an tèaruint-
eachd:
12 A tha toirt innleachda nan
cuilbheartach gu neo-ni, air chor
as nach coimhlion an làmhan *an*
gniomh:
13 A tha glacadh nan daoine glice
nan cuilbheartachd [b] féin, air chor
as gu tilgear sìos comhairle nan
daoine fiara [c].
14 San là coinnichidh iad dorch-
adas; agus mar anns an oidhche
smeuraichidh iad [d] mu mheadhon-
là.
15 Ach saoraidh e am bochd o'n
chlaidheamh o'm beul [e], agus o làimh
a' chumhachdaich.
16 Agus aig a bhochd bithidh
dòchas, agus druididh aingidheachd
a beul.
17 Feuch, *is* nèarachd [f] an duine
a smachdaicheas Dia: air cronach-
adh an Uile-chumhachdaich ma ta
na dean-sa tàir.
18 Oir cràdhaidh e, agus ceang-
laidh e suas; lotaidh e, agus leighis-
idh a làmhan.
19 Ann an sè [g] teanntachdaibh [h]
saoraidh e thu, agus anns an t-seachd-
amh cha d'thig olc an gar dhuit.
20 Ann an gorta tèarnaidh e thu
o'n bhàs; agus ann an cogadh, o
chumhachd [i] a' chlaidheimh.
21 O sgiùrsadh na teanga folaich-
ear thu; agus cha bhi eagal ort
roimh sgrios an uair a thig e.
22 Ri sgrios agus ri gorta [j] gàir-
idh tu; agus roimh fhiadh bheath-
aichibh na talmhainn cha bhi eagal
ort.
23 Oir ri clachaibh na machrach
bithidh tu ann an coimhcheangal;
agus bithidh fiadh-bheathaiche na
macharach ann an sìth riut.
24 Agus aithnichidh tu gu'*m bi*
do phàilliun ann an sìth, agus amh-
aircidh tu air t'àite-còmhnuidh, agus
cha dean thu gu h-olc [k].
25 Aithnichidh tu mar an ceudna
gu'*m bi* do shliochd lionmhor, agus
do ghineal mar fheur na talmhainn.
26 Thig thu ann an làn aois chum
na h-uaighe, mar a chuirear suas
cruach [l] arbhair na h-àm.
27 Feuch, so an ni a rannsaich
sinn; mar sin *a ta* e: éisd ris, agus
biodh fios agad air, air do shon féin.

CAIB. VI.

ACH fhreagair Iob, agus thubh-
airt e,
2 O nach robh mo dhoilgheas [m]
air a làn-chothromachadh, agus mo
dhòruinn [n] togta anns na meidhibh
le chéile!
3 Oir a nis bhiodh e ni bu truime
na gaineamh na fairge: uime sin
tha mo bhriathran air an slugadh
suas.
4 Oir *tha* saighdean an Uile-chumh-
achdaich annam, agus *tha* an nimh
ag òl suas mo spioraid: tha uamhasa
Dhé 'gan cur féin an ordugh catha
a'm' aghaidh.
5 An dean am fiadh-asal sitirich os
cionn feoir? an dean an damh geum
os cionn 'innlinn?
6 An gabh an ni a ta neo-bhlasta
itheadh gun salann? am bheil blas
air gealagan an uibhe?
7 Tha m'anam a' diultadh bean-
tuinn *riu*: tha iad sin mar mo bhiadh
bròin [o].
8 O nach d'thugta dhomh m'ath-
chuinge, agus gu'n deònaicheadh
Dia dhomh mo mhiann!
9 Agus gu'm bu toil le Dia mo
sgrios; gu'n cuireadh e mach a làmh [p],
agus gu'n gearradh e as mi!

10 An

a *feurthuinn.* b *nan innleachdaibh.* Faic. 1 Cor. Caib. III. r. 19. c *carach, aingidh.* d *ri iarraidh fo làimh bithidh iad.* e *o chlaidheamh am beoil.* f is *ro-shona.* g *sea.* h *cruaidh-chasaibh, cuutartaibh.* i *o làmhaibh.* Eabh. j *Mu fhàsachadh agus mu ghorta.* k *cha pheacaich thu.* l *mar a chuirear a sligh adag.* m *m'fhearg.* n *m'olc, m'aingidheachd.* o *d'am bheil mi gabhail gràin.* p *gu'n leigeadh e a làmh sgaoilte.*

10 An ſin bhiodh furtachd agam fath-aſt, ge do bhithinn air mo chruadh-achadh ann an do-bròn, agus nach caomhnadh e; oir cha do cheil mi briathran an Aoin naomha.

11 Ciod e mo neart, gu'm biodh dòchas agam? agus ciod i mo chrìoch, gu'n ſìninn mo bheatha?

12 An e neart nan clach mo neart? am *bheil* m'fheoil do umha?

13 Nach *'eil* mo chabhair annam féin? agus an d'fhuadaicheadh gliocas nam?

14 Dha-ſan a thréigeas a charaid is mòr am maſladh *e* [a]; tréigidh e mar an ceudna eagal an Uile-chumh-achdaich.

15 Mheall mo bhràithre mi mar ſhruth: mar neart nan ſruth ghabh iad ſeachad:

16 A bhios dubh le h-eigh; anns am folaichear an ſneachda:

17 An uair a leaghas iad, théid as doibh; an uair a dh'fhàſas e teth, caithear as an àit iad.

18 Tha ceuman an ſlighe air claon-adh: thig iad gu neo-ni, agus ſgrioſ-ar iad.

19 Dh'amhairc buidhnean Thema, dh'fheith cuideachdan [b] Sheba orra.

20 Bha iad ſa amhluadh, a chionn *roimhe ſin* gu'n robh dòchas aca: thàinig iad an ſin, agus bha nàire orra.

21 Ach a nis tha ſibhſe nar neo-ni; chi ſibh mo bhriſeadh-cridhe, agus tha eagal oirbh.

22 An dubhairt mi, Thugaibh a'm' ionnſuidh? no d'ar maoin thug-aibh tiodhlacadh air mo ſhon?

23 No tèarnaibh mi o làimh an nàmhaid? no o làimh nan cumhachd-ach ſaoraibh mi?

24 Teagaiſgibh mi, agus bithidh mi a'm' thoſd: agus ma chaidh mi bheag am mearachd, thugaibh orm a thuigſinn.

25 Nach neartmhor briathra ceart? ach ciod a chronaicheas eſan a chron-aicheas 'nar meaſg [c]?

26 An ſmuainich ſibh air briath-ran a chronachadh, agus cainnt an eu-dòchaſaich, *a tha* mar ghaoith [d]?

27 Seadh, tha ſibh a' leum air an dìlleachdan, agus a' cladhachadh *ſluichd* d'ar caraid.

28 Anis, uime ſin, ma's toil leibh, amhaircibh orm; agus *bithidh e* ſoil-leir dhuibh, ma ni mi breug.

29 Pillibh, guidheam oirbh, na biodh euceart ann; ſeadh, pillibh fathaſt, *tha* m'fhìreantachd-ſa ann.

30 Am bheil ann am theangaidh euceart? nach aithnich mo bhlas nithe fiara?

CAIB. VII.

NACH *'eil* àm ſuidhichte aig an duine air thalamh? agus mar laithean fhir-tuaraſdail a laithean?

2 Mar a mhiannaicheas an ſeir-bhiſeach an ſgàile, agus mar a bhios sùil aig an fhear-tuaraſdail ri duais 'oibre:

3 Mar ſin fhuair miſe mar ſheilbh dhomh féin mìoſan dìomhanais, a-gus àirmhear [e] dhomh oidhchean craidh [f].

4 Ma luidheas mi ſìos, their mi, C'uin a dh'eireas mi, agus a théid an oidhche thairis? agus tha mi làn luaſgaidh a null agus a nall gu briſ-eadh na fàire.

5 Tha m'fheoil air a còmhdach-adh le cnuimhibh agus ſpairtibh ùire bhris mo chroicionn, agus tha e breun.

6 Tha mo laithean ni's luaithe na ſpàl figheadair, agus tha iad air an caitheadh gun dòchas.

7 Cuimhnich gur gaoth mo bheatha: cha phill mo ſhùil a dh'fhaicinn maith.

8 Sùil an ti a chunnaic mi, cha'n fhaic i mi: *bithidh* do ſhùilean orm agus cha *bhi* mi ann.

9 Caithear an neul, is théid e as; mar ſin eſan a théid ſìos do'n uaigh, cha dthig e nìos.

10 Cha phill e ni's mò dh'ionn-ſuidh a thighe; agus cha'n aithnich 'ait e ni's mò.

11 Uime

a *Dha-ſan a tha ann an amhghar* dlighear *truacantas o charaid.* b *Iuchd-turuis.* c *ciod a tha bhur comh-reuſonachadh a' cronachadh?* d *air a' ghaoith an tilg ſibh gu ſaoin bhur cainnt?* Faic. Caib. VIII. r. 2. e *orduichear, ſuidhichear.* f *oidhchean piantachail, ſadalach.*

11 Uime ſin cha chum mi mo
bheul; labhraidh mi ann an teannt-
achd[a] mo ſpioraid; gearainidh mi
ann an ſearbhas m'anama.
12 Am muir mi, no muc-mhara[b],
gu'n cuireadh tu faire orm?
13 Ma their mi, Bheir mo leaba
furtachd dhomh, eutromaichidh m'uir-
igh mo ghearan;
14 An ſin cuiridh tu fuathas orm
le h-aillingibh, agus uamhas le ſeall-
annaibh.
15 Agus is fearr le m'anam tachd-
adh, bàs na beatha[c].
16 Tha mi gabhail gràin *deth*;
cha b'àill leam bhi beo gu bràth:
leig leam, oir *is* dìomhanas mo
laithean.
17 Ciod e an duine, gu'n ardaich-
eadh tu e? agus gu'n ſuidhicheadh
tu do chridhe air?
18 Agus gu'm fioſraicheadh tu e
gach maduinn? gach mionaid gu'n
dearbhadh tu e?
19 Cia fhad a bhios tu gun deal-
achadh rium? agus nach leig thu
leam gus an ſluig mi sìos mo ſhile?
20 Pheacaich mi; ciod a ni mi
dhuit, O fhir-coimhid dhaoine?
c'ar ſon a chuir thu mi a t' agh-
aidh[d], agus a ta mi a'm' eire[e] orm
féin?
21 Agus c'ar ſon nach maith thu
m'euſaontas, agus nach cuir thu air
falbh m'euceart? oir a nis anns an
duſlach coidlidh mi, agus iarraidh tu
mi anns a' mhaduinn, ach cha *bhi* mi
ann.

CAIB. VIII.

AN ſin fhreagair Bildad an Suh-
ach, agus thubhairt e,
2 Cia fhad a labhras tu *mar* ſin,
agus *a bhios* briathra do bheoil *mar*
ghaoith làidir?
3 Am fiar Dia breitheanas, agus
am fiar an t-Uile-chumhachdach ceart-
as?
4 Ma pheacaich do chlann na agh-
aidh, agus gu'n d'thug e thairis iad
do'n euſaontas[f];
5 Nan iarradh tu gu moch a
dh'ionnſuidh Dhé, agus air an Uile-
chumhachdach nan aſlaicheadh tu;
6 Nam *biodh* tu glan agus ionraic,
gu cinnteach a nis mhoſgaileadh e
air do ſhon, agus dheanadh e àite-
còmhnuidh t'fhìreantachd ſiochail:
7 Ge do bhiodh do thoiſeach beag,
dh'fhàſadh do chrìoch gu mòr.
8 Oir fioſraich, guidheam ort, do'n
linn roimhe, agus deaſaich thu féin
chum rannſachaidh an aithriche.
9 (Oir o'n dé *tha* ſinne, agus cha
'n aithne dhuinn, a chionn gur ſgàile
ar laithean air thalamh,)
10 Nach teagaiſg iad thu, nach
innis iad duit, agus o'n cridhe nach
labhair iad briathra?
11 Am fàs an luachair gun làth-
ach? am fàs am mìn-fheur[g] gun
uiſge?
12 'Nuair a bhios e fathaſt na
ghlaiſe[h], cha ghearrar sìos e; gidh-
eadh, roimh gach luibh ſeargaidh e.
13 Mar ſin ceuma nan uile a dhi-
chuimhnicheas Dia: agus bàſaichidh
dòchas a' chealgair;
14 Aig an gearrar a dhòchas as,
oir *is* e lìon[i] an damhain-allaidh
'earbſa.
15 Leigidh e 'thaic ri '*thigh*, ach
cha ſeas e: cumaidh ſe gu daingean
e, ach cha mhair e.
16 Uaine *tha* e fa chomhair na
gréine, agus na lios[j] fàſaidh a mheang-
lan ſuas.
17 Air a' charn bithidh a fhreumh-
an air am figheadh air feadh a
chéile, agus fioſraichidh e àit nan
clach[k].
18 Ma ghearras e as[l] o 'ait e, an
ſin àicheadhaidh ſe e, *ag ràdh*, Cha'n
fhaca mi thu.
19 Feuch, *is* e ſo aoibhneas a
ſhlighe-ſan; ach as an ùir fàſaidh
aon eile.
20 Feuch, cha tilg Dia air falbh
an

a *cràdh*. b *uile-bheiſt*. c *cnaimhean ſlàna; mo chnàmha*. Eabh. d *c'ar ſon a chuir thu fa d' chomhair* mar chuſpair *mi?* e *a'm' callaich*. f *chuir e iad ann an làimh an euſaontais*. Eabh. g *an gall-ſheiliſdeir, feur a' chladaich*. Faic. Gen. Caib. XLI. r. 2. h *na ghuirme, uaine*. i *tigh*. Eabh. j *ghàradh*. k *chi e tigh nan clach*. l *Ma ſgrioſar*.

an *duine* foirfe, agus cha ghabh e
greim do làimh nan daoine aingidh:

21 Gus an lìon e do bheul le
gàire, agus do bhilean le gairdeach-
as.

22 Iadsan a dh'fhuathaicheas thu,
còmhdaichear iad le nàire; agus cha
bhi pàillIun nan aingidh ann.

CAIB. IX.

AGUS fhreagair Iob, agus thubh-
airt e,

2 Gu deimhin tha fhios agam gu
bheil e mar sin: oir cionnas a shaoras
duine e féin[a] aig Dia?

3 Ma's àill leis a chùis a thagradh
na làthair[b], cha fhreagair se e aon
uair as a' mhìle.

4 Glic an cridhe, agus treun an
neart, cò a chruaidhich e féin na agh-
aidh, agus a shoirbhich?

5 A dh'atharraicheas na beannta,
agus cha bhi fios ac' *air*; a thilgeas
bun os cionn iad na fheirg:

6 A chrathas an talamh as 'àit, a-
gus criothnaichidh a phuist:

7 A dh'àithneas do'n ghréin, agus
cha'n éirich i; agus air na reultaibh
a chuireas seula:

8 A sgaoileas a mach na nèamha
na aonar, agus a shaltaireas air tonn-
aibh na fairge:

9 A tha deanamh Arcturuis[c], O-
rioin[d], agus Phleiades[e], agus sheòm-
raiche na h-airde deas:

10 A tha deanamh *nithe* mòra,
nach bi e 'n comas fhaghail a mach,
agus *nithe* iongantach nach gabh àir-
eamh.

11 Feuch, théid e seachad orm,
agus cha 'n fhaic mi *e*; agus gabh-
aidh e thairis, ach cha mhothaich
mi e.

12 Feuch, ma bheir e air falbh,
cò a bhacas e[f]? cò a their ris, Ciod
a tha thu a' deanamh?

13 Cha tionndaidh Dia air falbh
'fhearg: fuidhe cromaidh fir-chuid-
eachaidh an ardain.

14 Nach ro-lugha na sin a fhreag-
aireas mise e, a thaghas mi mo bhriath-
ra ris?

15 Oir ge do bhithinn ionraic[g],
cha fhreagairinn e; air mo bhreith-
eamh dh'aslaichinn.

16 Nan gairminn, agus gu'm freag-
aireadh e mi, cha chreidinn[h] gu'n
d'éisd e ri m' ghuth:

17 Oir le doinionn tha e 'gam
bhruthadh, agus a' deanamh mo lot
lìonmhor gun aobhar.

18 Cha leig e leam m'anail a
tharruing, ach lìonaidh e mi le sear-
bhas[i].

19 Ma *labhrar* mu neart, feuch,
tha e làidir; agus ma *labhrar* mu
bhreitheanas, cò a shuidhicheas àm[k]
air mo shon?

20 Ma dh'fhìreanaicheas mi mi
féin, dìtidh mo bheul féin mi; agus
foirfe *ma ni mi* mi féin, nochdaidh e
fiar mi.

21 Foirfe ge do bhithinn, cha'n
aithnichinn *e*; a'm' anam[l] dhean-
ainn tàir air mo bheatha.

22 *Is* aon ni e: uime sin thubh-
airt mi, Am foirfe agus an t-aingidh
tha e a' sgrios.

23 Ma mharbhas an t-slat gu h-ob-
ann, ri deuchainn nan neo-chiont-
ach gàiridh e.

24 Thugadh an talamh an làimh
an aingidh: aghaidhean a bhreith-
eamhna còmhdaichidh e: mar *dean
e mar so*, c'àit, cò esan *a ni*?

25 Bha mo laithean ni bu luaithe
na gille-ruithe: theich iad air falbh,
cha'n fhac iad maith.

26 Ghabh iad seachad mar na
longaibh luatha, mar an iolaire
a' dol air iteig[m] a chum cobhart-
aich.

27 Ma their mi, Di-chuimhnich-
idh mi mo ghearan, leigidh mi dhìom
mo dhubhachas[n], agus bheir mi
comhfhurtachd dhomh féin;

a *a bhios duine ceart?* b *Ma ni e strì ris.* c *Has.* Eabh. d *Chesil.* Eabh. e *nan seachd rionnag; Chima.* Eabh. f *ma bheir e leis, cò a bheir air aiseag?* g *ceart, cothromach, neo-chiontach.* h *is gann a chreidinn.* i *le searbhasaibh.* k *àm*-tagraidh. l *Foirfe ge do bhithinn, cha'n aithnichinn m'anam.* m *mar an iolaire a dh'itealaicheas.* n *mo thuirse; mo ghnùis.* Eabh.

28 Tha eagal orm roimh mo
dhoilgheaſaibh uile; tha fios agam
nach meas thu neo-chiontach mi.
29 *Ma* bhios mi aingidh[a], c'ar
ſon ma ta a ſhaothraichinn gu dìomh-
ain?
30 Ma nigheas mi mi féin ann an
uiſgibh ſneachdaidh, agus ma ghlan-
as mi gu glan mo làmha;
31 An ſin tumaidh tu mi ſan
t-ſlochd[b], agus gabhaidh m'eudach
gràin diom.
32 Oir cha duine e mar *a ta* miſe,
gu'm freagairinn e, gu'n dthigeam-
aid cuideachd gu breitheanas.
33 Cha 'n'eil fear-réite[c] eadar-
uinn, *a* chuireadh a làmh oirnn le
chéile.
34 Thugadh e air falbh a ſhlat
dhìom, agus na cuireadh eagal roimhe
uamhas orm.
35 *An ſin* labhrainn, agus cha
bhiodh eagal orm roimhe: ach cha
'n'eil mi mar ſin agam féin[d].

CAIB. X.

THA m'anam ſgìth do m'bheatha;
fàgaidh mi mo ghearan orm
féin; labhraidh mi ann an ſearbhas
m'anama.
2 Their mi ri Dia, Na dìt mi;
thoir fios dhomh c'ar ſon a tha thu a'
cur a'm' aghaidh.
3 Am maith leat gu'n sàraicheadh
tu, gu'n deanadh tu tàr air obair do
làmh? agus gu'n dealraicheadh tu
air comhairle nan aingidh?
4 Am bheil sùilean feòla agad?
an ann mar a chì duine, a chì thuſa?
5 An ann mar laithibh duine *a tha*
do laithean-ſa? am *bheil* do bhliadh-
nacha mar laithibh duine,
6 Gu'n ſireadh tu air ſon[e] m'eu-
ceirte, agus gu'n rannſaicheadh tu
air ſon mo pheacaidh?
7 Tha fhios agad nach d'rinn mi
gu h-aingidh: agus cha *'n'eil* neach
ann a ſhaoras o d' làimh.
8 Shaothraich do làmha-ſa mi,
agus rinn iad mi comhcheart mu'n
cuairt; agus an ſgrios thu mi?
9 Cuimhnich, guidheam ort, gur
ann mar chriadh a rinn thu mi, agus
gu duſlach an tionndaidh thu mi a
rìs?
10 Mar bhainne nach do thaom
thu mi mach, agus mar chàiſe nach
do dhaingnich thu mi?
11 Le croicionn agus le ſeoil
chòmhdaich thu mi, agus le cnàimh-
aibh agus féithibh-luthaidh dhìon[f]
thu mi.
12 Beatha agus caoimhneas dheòn-
aich thu dhomh, agus choimhid do
fhreaſdal[g] mo ſpiorad.
13 Agus na nithe ſo dh'fholaich
thu a'd' chridhe: tha fios agam gu
bheil ſo agad[h].
14 Ma pheacaicheas mi, bheir thu
fa'near mi, agus o m'euceart cha
ſaor[i] thu mi.
15 Ma bhios mi aingidh, mo
thruaigh mi! agus *ma* bhios mi ion-
raic, cha tog mi mo cheann. Làn
maſlaidh[k] *a ta* mi, agus faic féin
m'àmhghar;
16 Oir tha e a' meudachadh: mar
leòmhan garg tha thu a' ſealg orm;
agus a rìs tha thu 'gad nochdadh féin
iongantach orm[l].
17 Tha thu ag ath-nuadhachadh
t'fhianaiſean a'm' aghaidh, agus a'
meudachadh do chorruich rium; *tha*
caochlaidh agus cogadh a'm' agh-
aidh.
18 C'ar ſon ma ta a thug thu mach
as a' bhroinn mi? Och nach d'thug
mi ſuas an deò, gun sùil 'gam fhaic-
inn!
19 Bhithinn mar nach bithinn
ann; o'n bhroinn a dh'ionnſuidh na
h-uaighe bhithinn air mo ghiùlan.
20 Nach tearc mo laithean? ſguir
ma ta, agus leig leam, agus gu faigh
mi beagan comh-fhurtachd;
21 Mun ſiubhail mi, agus nach
pill mi tuilleadh, gu tìr an dorchad-
ais agus ſgàile a' bhàis;
22 Tìr dorchadais mar dhuibhre
ſgàile a' bhàis, agus as eugmhais gach
riaghailt,

a *cientach.* b *ſan t-ſalchar, ſan dìg.* c *fear-tagraidh, fear-ead-raiginn, breitheamh.* d *ni h-ann mar ſin* a ta e *agamſa.* e *an acéigh.* f *neartaich.* g *t'fhioſrachadh.* h *a'd'aigne.* i *cha ghlan.* k *amhluaidh.* l *tha do làmh iongantach trom orm.*

riaghailt, agus far am bheil an ſolus
mar dhorchadas[a].

CAIB. XI.

AN ſin fhreagair Sophar an Naam-
atach, agus thubhairt e,
2 Do lìonmhoireachd bhriathar
nach dthoirear freagradh? agus an
ſaorar fear na mòr bhruidhne?
3 An dthoir do bhreugan-ſa air
daoinibh a bhi nan toſd? agus an
nair a ni thu fanoid, nach cuir duin'
air bith nàir ort?
4 Oir thubhairt thu, Glan *a ta*
mo theagaſg, agus neo-chiontach[b]
tha mi ann ad ſhùilibh.
5 Ach, O nach labhradh Dia, a-
gus nach foſgaileadh e a bhilean
riut[c];
6 Agus nach nochdadh e dhuit
nithe dìomhair a' ghliocais, gu *bheil*
iad dùbailte na ta ann[d]! Biodh fios
agad uime ſin gu bheil Dia 'gad ag-
airt air ſon t'euceirte[e].
7 An urrainn thuſa le rannſachadh
Dia fhaghail a mach? an urrainn
thu an t-Uile-chumhachdach fhagh-
ail a mach gu h-iomlan?
8 Ard mar na nèamha; ciod a ni
thu? ni's doimhne na ifrinn; ciod is
aithne dhuit?
9 Ni's faide na'n talamh a thomh-
as, agus ni's leithne na'n fhairge.
10 Ma ghearras e as[f], no ma
dhùineas e ſuas, no ma chruinnicheas
e ri chéile, cò a bhacas e?
11 Oir is aithne dha daoine faoi-
ne[g]; agus an uair a chi e euceart,
nach dthoir e fa'near i?
12 Agus b'àill leis an duine fho-
lamh[h] a bhi glic, ge d' is ann mar
loth aſail fhiadhaich a bheirear
duine.
13 Ma dheaſaicheas tu do chridhe,
agus gu'n sìn thu d'a ionnſuidh do
làmhan,
14 Ma bhios euceart a'd' làimh,
cuir fada uait i, agus na leig le
aingidheachd còmhnachadh a'd' phàil-
liunaibh.
15 Oir an ſin togaidh tu ſuas do
ghnùis gun ſmal, agus bithidh tu
ſeaſmhach, agus cha bhi eagal ort.
16 Oir di-chuimhnichidh tu do
dhochair[i]; mar na h-uiſgibh *a* chaidh
ſeachad cuimhnichidh tu i.
17 Agus ni's ſoilleire na meadhon-
là fàſaidh *t'*aois; ge d' robh thu ann
an dorchadas, mar a' mhaduinn bith-
idh tu.
18 Agus earbaidh tu[k], oir bith-
idh dòchas agad; agus cladhaichidh
tu, [agus] gu tèaruinte gabhaidh tu
tàmh.
19 Agus an uair a luidheas tu sìos,
cha chuir neach air bith eagal ort;
agus iarraidh mòran do ghnùis.
20 Ach fàilnichidh sùilean nan
aingidh; agus dol as cha bhi aca;
agus *bithidh* an dòchas *mar* thoirt
ſuas an deò.

CAIB. XII.

AGUS fhreagair Iob, agus thubh-
airt e,
2 Cha 'n'eil teagamh nach ſibhſe
an ſluagh, agus maille ribhſe bàſaich-
idh gliocas.
3 Ach agamſa *tha* tuigſe[l], mar *a*
ta agaibhſe[m]; cha'n iſe miſe na
ſibhſe: agus cò aig nach *'eil fios air*
an leithide ſin?
4 *Mar neach a ta* na bhall-mag-
aidh aig a charaid tha miſe, a ghairm-
eas air Dia, agus freagraidh ſe e:
Na bhall-fochaid *tha* an duine ceart
ionraic.
5 *Mar* lòchran fuidh thàir ann an
ſmuaintibh an ti a ta aig fois, *bithidh*
eſan a bhios ullamh[n] gu ſleamh-
nachadh le 'chois.
6 Sìochail bithidh pàilliuna chreach-
adairean; agus tèaruinte *bithidh* iad-
ſan a bhroſnaicheas Dia; d'an d'thug
Dia *ni* nan làimh.
7 Ach feòraich a nis do na h-ain-
mhidhibh, agus teagaiſgidh iad thu,
agus do eunlaith nan ſpeur, agus
innſidh iad duit:
8 No labhair ris an talamh, agus
teaſgaiſgidh

a *agus a bhios dorcha mar an dorchadas féin.* b *glan.* c *a't'agh-aidh.* d *na ta* air am foillſeachadh do dhaoinibh. e *gur* lugha *a tha* *Dia a' togail uait na tha t'euceart a' toilltinn.* f *Ma chaochaileas e.* g *breugach.* h *fhàs, fhaoin.* i *do thruaighe.* k *bithidh tu tèar-uinte.* l *cridhe.* Eabh. m *co-maith ribhſe.* n *ealamh.*

teagaisgidh e thu: agus cuiridh iasg na mara an céill duit.

9 Cò aig nach 'eil fios a thaobh nan *nithe* so uile, gur i lamh an Tighearna a rinn so?

10 Aig am bheil na làimh anam gach ni beò, agus anail gach uile fheòla dhaoine.

11 Nach dearbh a' chluas briathra, agus nach blais am beul a bhiadh?

12 Anns na h-aosda tha gliocas, agus am fad laithean tuigse.

13 Maille ris-san tha gliocas agus neart; aige-san *tha* comhairle agus tuigse.

14 Feuch, brisidh e sìos, agus cha togar suas: druididh e suas duine, agus cha'n fhosgailear.

15 Feuch, cumaidh e na h-uisgeachan air an ais, agus tiormaichidh iad suas; agus cuiridh e mach iad, agus tilgidh iad bun os cionn an talamh.

16 Aige-san tha neart agus gliocas: *is* leis-san esan a mheallar, agus esan a mheallas.

17 Cuiridh e air falbh comhairlich creachta, agus do bhreitheamhnaibh ni e amadain.

18 Cuibhreach righre sgaoilidh e, agus crioslaichidh e crios air an leasraibh.

19 Cuiridh e air falbh uachdarain [a] creachta, agus tilgidh e sìos na cumhachdaich.

20 Atharraichidh e cainnt nam firinneach, agus bheir e air falbh tuigse nan aosmhor.

21 Taomaidh e tàir air ard-uaislibh [b], agus anmhunnaichidh e neart nan *daoine* treuna.

22 Taisbeanaidh e nithe doimhne a dorchadas, agus bheir e sgàile a' bhàis gu solus.

23 Meudaichidh e na cinnich, agus sgriosaidh se iad: fairsingichidh e na cinnich, agus cumhaugaichidh se iad.

24 Bheir e air falbh cridhe cheannard sluaigh na talmhainn, agus cuiridh e air seacharan iad ann am fàsach as eugmhais slighe.

25 Smeuraichidh iad san dorchadas, agus *iad* gun solus; agus bheir e orra tuisleachadh mar dhuine air mhisg [c].

CAIB. XIII.

FEUCH, chunnaic mo shùil so uile; chuala mo chluas, agus mhothaich [d] i e.

2 Mar is aithne dhuibhse, is aithne dhomhsa mar an ceudna: cha'n isle mi, na sibhse.

3 Ach labhrainnse ris an Uile-chumhachdach, agus b'àill leam tagradh [e] ri Dia:

4 Oir *is* luchd cumadh [f] bhreug sibhse, léighean nach fiu sibh uile.

5 O nach robh sibh gu tur 'nar tosd! agus b'e sin bhur gliocas.

6 Cluinnibh a nis mo thagradh [g], agus eisdibh ri deasboireachd mo bhilean.

7 An labhair sibh gu h-aingidh air son Dhé? agus air a shon-san an labhair sibh gu cealgach?

8 An gabh sibh r'a ghnùis [h]? air son Dhé an dean sibh comhstri?

9 Am bheil e maith gu'n rannsaicheadh e mach sibh? mar a nithear sanoid air duine, an dean sibh sanoid air-san?

10 Gu cinnteach cronaichidh e sibh, ma ghabhas sibh an uaignidheas ri 'ghnùis.

11 Nach cuir 'òirdhearcas-san eagal oirbh? agus nach tuit 'uamhann-san oirbh?

12 *Tha* bhur cuimhne cosmhuil ri luaithre, mar chuirp creadha bhur cuirp.

13 Bithibh nar tosd am' thaobh-sa, agus labhraidh mi, agus thigeadh [i] orm na *dh'fheudas*.

14 C'arson a tha mi gabhail m'fheòla a'm' fhiaclaibh, agus a' cur mo bheatha a'm' laimh [k]?

15 Ge do mharbh e mi, gidheadh

earbaidh

a *sagairt*. b *uachdaranaibh, ceannardaibh*. c *mheisg*. d *thuig*. e *reusonachadh*. f *luchd-dhealbh*. g *m'achmhasan*. h *Am bi sibh leth-bhretheach air a thaobh-san?* i *gabhadh thair is*. k *ann an cuntart*.

earbaidh mi as[a]: ach tagraidh[b] mi mo ſhlighean na fhianais.

16 Mar an ceudna *bithidh* e dhomhſa chum ſlàinte; oir cha dthig cealgair na làthair[c]?

17 Eiſdibh gu furachar ri m' chainnt, agus ri m' ſgeul le'r cluaſaibh.

18 Feuch, a nis chuir mi *mo* chùis an ordugh: tha fios agam gu'n ſaorar mi.

19 Cò eſan *a* thagras rium? oir a nis ma bhitheas mi a'm' thoſd, bheir mi ſuas an deò.

20 A mhàin dà *ni* na dean rium; an ſin o d' ghnùis cha 'n fholaich mi mi féin.

21 Tarruing do làmh fada uam? agus na cuireadh t'uamhann eagal orm.

22 An ſin gairm thuſa, agus freagraidh miſe: no labhraidh miſe, agus freagair thuſa mi.

23 Cia lionmhor m'eucearta agus mo pheacanna? air m'euſ-aontas agus mo pheacadh thoir fios domh.

24 C'ar ſon a tha thu a' folachadh do ghnùiſe, agus 'gam mheas mar nàmhaid duit?

25 Am bris thu an duilleag a thilgear a null agus a nall? agus an ruaig thu an aſbhuain thioram?

26 Oir tha thu a' ſcrìobhadh nithe ſearbha a'm' aghaidh, agus a' toirt orm eucearta m'òige a ſhealbhachadh.

27 Agus tha thu a' cur mo chos anns a' cheap, agus a' geur-amharc air mo ſhlighibh gu léir, agus a' cur chomhar air bonnaibh mo chos.

28 Agus mar ni breun cuirear as da[d], mar thruſgan a dh'itheas an leomann[e].

CAIB. XIV.

THA 'n duine a rugadh o mhnaoi, gearr-ſhaoghalach[f], agus làn àmhghair.

2 Mar bhlàth thig e mach, agus gearrar sìos e: agus teichidh e mar ſgàile, agus cha'n fhan e.

3 Gidheadh air a leithid ſin dh'fhoſgail thu do ſhùilean; agus miſe tha thu a' tabhairt gu breitheanas maille riut.

4 Cò a bheir glan a neo-ghlan? cha *tabhair* a h-aon.

5 Gu deimhin *tha*[g] a laithean ſuidhichte, *tha* àireamh a mhìos agadſa; dh'orduich thu a chrìocha, agus cha dthéid e thairis orra.

6 Tionndaidh uaith chum gu bi fois aige, gus an coimhlion e mar fhear-tuaraſdail a latha.

7 Oir tha dòchas a craoibh, ma ghearrar sìos i, gu'm fàs i a rìs, agus nach fàilnich a faillean[h] òg.

8 Ge d'fhàs a freumh ſean anns an talamh, agus anns an ùir ge do bhàſaich a ſtoc;

9 Trìd fhàile an uiſge ùr-fhàſaidh ſi, agus bheir i mach geuga mar òg-chraoibh.

10 Ach bàſaichidh fear, agus théid gu tur as da; agus bheir duine ſuas an deò, agus c'àit *am bheil e*?

11 Fàilnichidh na h-uiſgeacha o'n mhuir, agus caithear an abhuinn, agus tiormaichidh i ſuas[i]:

12 Mar ſin luidhidh an duine sìos, agus cha'n éirich e; gus nach *bi* na nèamha ann, cha mhoſgail iad, agus cha dùiſgear as an codal iad.

13 Och nach folaicheadh tu mi anns an uaigh, nach gleidheadh tu mi an uaignidheas, gus am biodh t'fhearg thairis! nach ſuidhicheadh tu dhomh àm àraidh, agus gu'n cuimhnicheadh tu mi!

14 Ma bhàſaicheas duine, an dthig e beò? uile laithean m'aimſire ſuidhichte feithidh mi, gus an dthig mo chaochladh.

15 Gairmidh[k] tuſa, agus freagraidh miſe thu: air obair do làmh bithidh déigh agad.

16 Oir a nis tha thu ag àireamh mo cheum: agus nach 'eil thu ri faire air mo pheacadh?

17 Seulaichte ann an ceanglachan *tha* m'euſaontas, agus fuaighidh tu ſuas m'euceart.

a *cha 'n'eil dùil agam ri ni eile.* b *dearbhaidh, ſeaſaidh.* c *na ſhlàinte dhomhſa, ge nach dthig cealgair na làthair.* d *domh.* e *an reudan, a' chnuimh.* f *air bheag laithean.* g *A thaobh gu bheil.* h *meanglan.* i Faic Iſaiah Caib. XIX. r. 5. k *Goiridh.*

18 Agus gu deimhin tuitidh a'
bheinn, agus théid as d'i; agus ath-
rraichear a' charraig as a h-àit.
19 Caithidh na h-uifgeacha na
clacha: bheir thu tuil air na nithibh
a dh'fhàfas *a* h-ùir na talmhainn, a-
gus fgriofaidh tu dòchas an duine.
20 Buadhaichidh tu gu bràth na
aghaidh, agus fiùbhlaidh e: caoch-
ailidh tu a ghnùis, agus cuiridh tu
ir falbh e.
21 Urramach fàfaidh a mhic, a-
gus cha bhi fios aig air; agus ìflich-
ear iad, ach cha dthoir e fa'near iad [a].
22 Ach bithidh 'fheoil an taobh a
igh dheth [b] cràiteach, agus ni 'an-
am an taobh a ftigh dheth bròn.

CAIB. XV.

AN fin fhreagair Eliphas an Te-
manach, agus thubhairt e,
2 An luadh duine glic air eòlas na
gaoithe [c], agus an lìon e a chliabh
leis a' ghaoith an ear?
3 An tagair e le briathraibh gun
tairbhe, agus le cainnt leis nach dean
e maith?
4 Seadh, tha thu a' tilgeadh dhìot
eagail [d], agus a' leigeadh urnuigh
dhìot an làthair Dhé.
5 Oir teagaifgidh t'aingidheachd
do bheul [e], agus roghnaichidh tu
teanga nan cuilbheartach.
6 Ditidh do bheul féin thu, agus
cha mhife; agus bheir do bhilean
féin fianuis a't' aghaidh.
7 An tufa an cead duine a rug-
adh? no roimh na cnocaibh an do
rinneadh thu?
8 An cuala tu bheag ann an
comhairle dhìomhair Dhé? agus a
t'ionnfuidh féin a mhàin an do thar-
ruing thu gliocas [f]?
9 Ciod is aithne dhuitfe, nach
aithne dhuinne? a thuigeas tufa, nach
tuig finne [g]?
10 *Tha* araon an ceann-liath agus
an t-aofmhor 'nar meafgne, ni's fine
gu mòr na t'athair.
11 Am beag leat sòlafa Dhé;
agus am bheil ni dìomhair agad [h]?
12 C'ar fon a tha do chridhe 'gad
thoirt air falbh? agus c'ar fon a tha
do fhùilean a' caogadh?
13 Gu bheil thu a' tionndadh do
fpioraid an aghaidh Dhé, agus a'
leigeadh an leithide fin do bhriath-
raibh a mach as do bheul?
14 Cò e an duine, gu'm biodh e
glan? agus gu'n faoradh efan e féin,
a rugadh o mhnaoi?
15 Feuch, as a naomhaibh cha'n
earb e; agus cha 'n'eil na nèamha
glan na fhùilibh.
16 Nach gràineile agus nach fail-
che gu mòr an duine, a dh'òlas eu-
ceart mar uifge?
17 Innfidh mi dhuit, éifd rium;
agus na chunnaic mi, cuiridh mi 'n
céill,
18 A dh'aithris daoine glice, agus
nach do cheil an aithriche orra [i]:
19 D'an d'thugadh nan aonar an
talamh, agus cha d'imich coigreach
nam meafg.
20 Rè a laithean uile cràdhar an
t-aingidh; agus folaichear àireamh *a*
bhliadhnan air an fhear-fhàrachaidh.
21 *Tha* fuaim eagalach na chluafaibh:
na fhoirbheachadh thig am fear-millidh
air.
22 Cha chreid e gu'm pill e as an
dorchadas: agus feithear air leis a'
chlaidheamh.
23 Tha fe ag imeachd mu'n cuairt
air fon arain, *ag radh*, C'àit *am bheil*
e? tha fios aige gu bheil latha an
dorchadais deas aig a làimh.
24 Cuiridh teanntachd agus àmh-
ghar [k] uamhas air: buadhaichidh
iad air, mar righ deas a chum catha.
25 Oir sìnidh e mach a làmh an
aghaidh Dhé, agus an aghaidh an
Uile-chumhachdaich neartaichidh fe
e féin.
26 Ruithidh e air, air *a* mhuin-
eal, air copaibh tiugha a fgiath;
27 A chionn gu'n do chòmhdaich

a *cha mhothaich e fin d'an taobh.* b *air a fhon féin.* c *eòlas faoin.*
d *eagail dhiadhaidh.* e *nochdaidh do bheul t'aingidheachd.* f *a t'ionn-
fuidh féin an dthoir thu air falbh gliocas; riut féin a mhàin an cum thu
gliocas?* g *nach* 'eil *againne.* Eabh. h *an d'fholaich e focal
agad.* i *dh'aithris daoine glice o'n aithrichibh, agus nach do cheil iad.*
k *cruaidh-chas.*

e a ghnùis le a ſhult [a], agus gu'n
d'rinn e ſilean [b] ſaille air a leaſ-
raidh.
28 Agus còmhnuichidh e ann
am bailtibh fàſaichte [c], ann an tigh-
ibh nach 'eil air an àiteachadh, a tha
ullamh gu bhi nan carnaibh.
29 Cha bhi e beartach, agus cha
mhair a mhaoin; agus cha sìn e
mach a fhreumh ſan talamh [d].
30 Cha triall e a dorchadas; tior-
maichidh laſair a mheanglan [e]; agus
ſiubhlaidh e le anail a bheoil.
31 Na h-earbadh eſan a mhealltar
a dìomhanas, oir dìomhanas bithidh
aige mar luaigheachd.
32 Roimh a là coimhlionar e; a-
gus cha bhi a gheug uaine.
33 Crathaidh e dheth mar an
fhìonain 'fhìon-dhearcan anabaich,
agus tilgidh e dheth mar an crann
olaidh a bhlàth.
34 Oir *bithidh* coimhthional nan
cealgair aonarach, agus caithidh teine
pàilliuna na duais-bhratha [f].
35 Ginidh iad donas, agus beiridh
iad droch-bheart [g], agus ulluichidh
an com cealg.

CAIB. XVI.

ACH fhreagair Iob, agus thubh-
airt e,
2 Chuala mi mòran d'an leithid-
ibh ſin: *is* luchd-comhfhurtachd
truagh ſibh uile.
3 Am bi crìoch air briathraibh
gaoithe [h]? no ciod a tha toirt an
dànadais duit gu bheil thu a' freag-
airt?
4 Dh'fheudainnſe mar an ceudna
labhairt coſmhuil ribhſe: nam biodh
bhur n-anam an àit m'anama-ſa,
dh'fheudainn briathra chur cuideachd
'nar n-aghaidh, agus mo cheann a
chrathadh ribh:
5 [Ach] neartaichinn ſibh le m'
bheul, agus lughdaicheadh gluaſad
mo bhilean *bhur doilgheas*.
6 Ge do labhair miſe, cha lughd-
aichear mo dhoilgheas; agus *ma* bhios
mi a'm' thoſd, ciod am fuaſgladh a
gheibh mi?
7 Ach a nis ſgìthich e mi: ſgap
thu [i] mo chuideachd uile?
8 Agus rinn thu mi làn phreaſag-
eudain [k]; mar fhianais tha *ſin*: agus
dh'éirich mo chaoile a'm' aghaidh [l];
ri m'eudan freagraidh i.
9 Reub a chorruich mi [m], agus
tha fuath aige dhomh: chas e 'fhiac-
lan rium; tha mo nàmhaid a' geur-
achadh a ſhùl orm.
10 Chas iad am beul rium; le
maſladh bhuail iad mo ghiala; cuid-
eachd chruinnich iad a'm' agh-
aidh.
11 Thug Dia mi thairis do'n ain-
diadhaidh, agus an làimh nan aing-
idh thilg e mi.
12 An sìth bha mi, ach phronn e
mi: agus rug e air mo mhuineal, a-
gus chrath e as a chéile mi, agus
chuir e ſuas mi dha féin mar chuſ-
pair.
13 Tha a luchd-ſhaighead [n] 'gam
chuartachadh air gach taobh: ſgoilt-
idh e m'airnean o chéile, agus cha
chaomhain e; taomaidh e mach mo
dhomblas air an talamh.
14 Briſidh e mi le briſeadh air
bhriſeadh; ruithidh e orm mar chur-
aidh [o].
15 Dh'fhuaigh mi ſaic-eudach air
mo chroicionn, agus ſhalaich mi
m'adharc ſan duſlach.
16 Tha m'eudan air a h-atadh [p]
le gal [q], agus air mo roſgaibh [r] *tha*
ſgàile a' bhàis;
17 Cha 'n'ann air ſon euceirt a'm'
làmhaibh: mar an ceudna *tha* m'ur-
nuigh glan.
18 A thalamh, na còmhdaich thuſa
m'fhuil, agus na biodh àit aig mo
ghlaodh.
19 Mar an ceudna nis, feuch,
anns na nèamhaibh *tha* m'fhianuis,
agus

a *reambrad.* b *ſlaoigean.* c *fòſail.* d *cha sìn e an coimhliontachd air an talamh; cha chuir e mach ſgaile air an talamh.* e *'fhàilleain.* f *duais na h-eucorach.* g *dìomhanas.* h *briathraibh faoin.* i *rinn thu aonaranach.* k *chaſadh.* l *annam.* m *Reub e mi na fheirg.* n *a ſhaighde.* o *mar fhamhair.* p *ſalch-adh.* q *gul, caoineadh.* r *air fàbhraidhibh mo ſhùl.*

agus efan a bheir teifteas orm anns
na h-airdibh.

20 A' fanoid orm *tha* mo chaird-
ean; chum Dhé tha mo fhùil a'
taomadh *dheur*.

21 O nach faodadh duine tagradh
ri Dia, mar *a thagras* mac an duine
r'a choimhearfnach [a]!

22 An uair a thig beagan do
bhliadhnaibh, an fin fan t-flighe air
nach pill mi fiubhlaidh mi.

CAIB. XVII.

THRUAILLEADH m'anail;
ghearradh as mo laithean;
tha na h-uaighean air mo fhon-fa.

2 Nach 'eil luchd-fanoid maille
rium? agus nam brofnachadh nach
'eil mo fhùil a' buanachadh?

3 Cuir sìos a nis, thoir dhomh ur-
ras maille riut: cò efan a ghlacas mo
làmh?

4 Oir dh'fholuich thu an cridhe
o thuigfe: uime fin cha'n ardaich thu
iad.

5 Efan a ni miodal r'a chairdibh [b],
fàilnichidh sùilean a chloinne.

6 Agus rinn e mi a'm' ghnàth-
fhocal an t-fluaigh; agus tha mi mar
bhall-fochaid rompa [c].

7 Agus dhorchaich mo fhùil le
bròn [d], agus *tha* mo bhuill uile mar
fgàile.

8 Bithidh uamhas air na h-ionrac-
ain air fon fo; agus dùifgidh [e] an
neo-chiontach an aghaidh a' chealg-
air.

9 Agus cumaidh an *duine* coth-
romach a fhlighe; agus gheibh efan
a ta glan na lamhaibh tuilleadh
neirt.

10 Ach air bhur fon-fa uile, pill-
ibh agus thigibh a nis; agus cha'n
fhaigh mi *duine* glic nar meafg.

11 Chaidh mo laithean thairis,
bhrifeadh mo fmuainte [f] air falbh,
feilbh [g] mo chridhe.

12 An oidhche tionndadhaidh iad
gu là: *tha'n* folus gaoraid a thaobh
dorchadais.

13 Ma dh'fheitheas mi, is i'n uaigh
mo thigh: fan dorchadas rinn mi mo
leaba.

14 Ri truaillidheachd thubhairt
mi, *Is* tu m'athair; ris a' chnuimh,
Is tu mo mhathair, agus mo phiuthar.

15 Agus c'àit a nis *am bheil* mo
dhòchas [h]? feadh, mo dhòchas-fa, cò
chi e?

16 *Gu* crannaibh an t-fluichd thèid
iad sìos: an fin *bithidh ar* fois cuid-
eachd anns an duflach.

CAIB. XVIII.

ANSIN fhreagair Bildad an Suh-
ach, agus thubhairt e,

2 Cia fhada gus an cuir fibh crìoch
air briathraibh? tuigibh [i], agus na
dhéigh fin labhramaid.

3 C'ar fon a mheafar finne mar
ainmhidhibh, *agus* a tha finn tàireil [k]
a'd' fhùilibh-fa?

4 *Tha e* a' reubadh 'anama na
chorruich! air do fhon-fa an tréigear
an talamh? agus an atharraichear a'
charraig as a h-àit?

5 Seadh, cuirear folus an aingidh [l]
as: agus cha dealraich lafair [m] a
theine.

6 Dorchaichear an folus na phàill-
iun, agus cuirear as a lòchran aige.

7 Cumhangaichear ceuman a
neirt, agus tilgidh a chombairle féin
sìos e:

8 Oir cuirear ann an lìon e le a
chofaibh féin [n], agus air ribe [o] imich-
idh e.

9 Glacaidh an cord air fhàil e;
buadhaichidh am fear-reubainn na
aghaidh.

10 Foluichte anns an talamh tha
ribe air a fhon, agus inneal-glacaidh
air a fhon air an t-flighe.

11 Air gach taobh cuiridh uamh-
afan eagal air, agus fuadaichidh iad
air a chofaibh e.

12 Bithidh

a *tagradh air fon duine ri Dia, mar* a thagras *duine air fon a choimhear-
fnaich.* b *a gheallas creach d'a chairdibh.* c *roimhe bha mi mar
thiompan.* d *doilgheas, ardan.* e *dùifgear.* f *rùin.*
g *fmuainte.* h *mo dhùil.* i *thugaibh fa'near.* k *grèineil,
neo-ghlan.* l *nan aingidh.* m *frad.* n *cuirear ann an lìon
a chos.* o *lìon, painteir.* p *maife.*

12 Bithidh a neart air a chlaoidh
le h-ocras, agus léir-ſgrios deas aig a
thaobh
13 Ithidh e ſuas neart[a] a chroic-
inn; ithidh ceud-ghin a' bhàis ſuas a
neart.
14 Spìonar as a phàillIun a dhòch-
as; agus bheir ſe e gu righ nan uamh-
ann.
15 Gabhaidh e còmhnuidh na
phàillIun, a chionn nach leis-ſan e;
crathar pronnaſg air 'àite-còmhnuidh.
16 Shìos tiormaichear a fhreumh-
an, agus ſhuas gearrar air falbh a
bharr.
17 Sgrioſar a chuimhne as an ta-
lamh, agus cha *bhi* ainm aige air an
t-ſràid.
18 Fògairear e o ſholus gu dor-
chadas, agus as an t-ſaoghal tilgear
e.
19 Cha *bhi* mac aige, no mac a
mhic am meaſg a ſhluaigh, no neach
a mhaireas na àitibh còmhnuidh.
20 R'a latha bithidh iongnadh or-
ra-ſan a thig na dhéigh, mar a ghlac
uamhas[b] iadſan a thàinig roimhe.
21 Gu deimhin *is* iad ſin ionada-
còmhnuidh an aingidh; agus is e ſo
'àite-ſan, da nach aithne Dia.

CAIB. XIX.

ACH fhreagair Iob agus thubh-
airt e,
2 Cia fhada chuireas ſibh doil-
gheas air m'anam, agus a bhriſeas ſibh
mo chridhe le briathraibh?
3 Na deich uaire ſo mhaſlaich ſibh
mi: cha nàr leibh *gu* bheil ſibh cho
choimheach rium[c].
4 Agus gu deimhin ma chaidh mi
air ſeacharan, fanaidh mo ſheacharan
agam féin.
5 An ardaich[d] ſibhſe d'a rìreadh
ſibh féin a'm' aghaidh, agus an tag-
air ſibh a'm' aghaidh mo mhaſladh?
6 Biodh fios agaibh a nis gu'n do
thilg Dia thairis mi, agus gu'n do
chuir e a lìon mu'n cuairt orm.
7 Feuch, glaodhaidh mi, Eucoir,
ach cha 'n eiſdear rium; éighidh mi
gu h-ard, ach cha '*n'eil* breitheanas
ann.
8 Dhùin e ſuas mo ſhlighe air chor
as nach urrainn mi dol ſeachad, agus
chuir e dorchadas air mo cheumaibh.
9 Bhuin e mo ghlòir dhìom, agus
thug e an crùn bhàrr mo chinn.
10 Sgrios e mi air gach taobh, a-
gus chaidh as domh[e]; agus chuir e
air falbh, mar chraoibh, mo dhòch-
as.
11 Agus las 'fhearg a'm' aghaidh,
agus mheas e mi mar *aon* d'a naimhd-
ibh.
12 Cuideachd thàinig a bhuidh-
nean, agus chuir iad ſuas an ſlighe
a'm' aghaidh, agus champaich iad
mu'n cuairt air mo phàillIun.
13 Chuir e mo bhràithrean fad
uam; agus tha mo luchd-eòlais gu
deimhin air fàs coimheach rium.
14 Thréig mo dhilſean, agus dhi-
chuimhnich mo luchd-eòlais[f] mi.
15 Mheas muinntir mo thighe, a-
gus mo bhanoglaich mi mar choig-
reach: a'm' eil-thireach[g] bha mi nan
sùilibh.
16 Air mo ſheirbhiſeach ghairm
mi, agus cha do fhreagair e: le m'
bheul féin ghuidh mi air.
17 Bha m'anail coimheach do m'
mhnaoi, ge do ghuidh mi as leth[h]
cloinne mo chuirp féin[i].
18 Rinn eadhon clann òg tàir
orm: dh'éirich mi, agus labhair iad
a'm' aghaidh.
19 Ghabh mo luchd-rùin uile gràin
dìom; agus tha iadſan *a* ghràdhaich
mi air tionndadh a'm' aghaidh.
20 Ri m' chroicionn agus ri m'fheoil
dhlùth-lean mo chnàmha; agus
chaidh mi às le croicionn m'fhiacal.
21 Gabhaibh truas dìom, gabh-
aibh truas dìom, O mo chairde, oir
bhean làmh Dhé rium.
22 C'ar ſon a gheur-leanas ſibhſe
mi mar *a ni* Dia, agus le m'fheoil
nach sàſuichear ſibh?
23 O nach robh mo bhriathra nis
air an ſcrìobhadh! O nach robh iad
air an cur sìos ann an leabhar!

24 La

a *maiſe.* b *fuathas.* c *air bhur cruadhachadh a'm' aghaidh.*
d *Ma dh'ardaicheas.* e *ſiubhlam.* f *mo chairdean.* g *all-
mharach.* h *agus tha mi ri caoidh air ſon.* i *m'innidh; mo
bhronna.* Eabh.

24 Le peann iaruinn agus luaidh gu bràth ann an carraig nach robh ſad air an gearradh!

25 Oir a ta fios agam gu bheil m'fhear-ſaoraidh beo, agus ma dheireadh gu ſeas e air an talamh [a];

26 Agus an déigh dhoibh ſo mo chroicionn a chnàmh [b], gidheadh ann am fheoil gu'm faic mi Dia:

27 Neach a chi miſe air mo ſhon féin, agus air an amhairc mo ſhùileanſa, agus ni h-e neach eile: ſo uile chuir mi ſuas a'm' chom féin [c].

28 Ach their ſibhſe, C'ar ſon a gheur-leanamaid e, agus gu'n d'fhuaradh freumh a' ghnothuich ann [d]?

29 Biodh eagal oirbh roimh'n chlaidheamh; oir fàſaidh an claidheamh teth [an aghaidh] eucearta [e], chum gu'm bi fios agaibh gu'm bi breitheanas ann.

CAIB. XX.

AN ſin fhreagair Sophar an Naamatach, agus thubhairt e,

2 Uime ſin tha mo ſmuainte toirt orm freagairt, agus air a ſhon ſo ni mi deifir.

3 Achmhaſan mo mhaſlaidh cluinneam [f], agus tha ſpiorad mo thuigſe a' toirt orm freagairt.

4 Nach aithne dhuit ſo o chian, o ſhuidhicheadh an duine air thalamh,

5 Gur gearr caithream [g] nan aingidh, agus *nach 'eil* gairdeachas a' chealgair *ach* car tiota?

6 Ge d'éirich 'airde [h] ſuas gus na nèamhaibh, agus ge do ruig a cheann na neoil;

7 Mar 'aolach féin gu bràth théid as da: their iadſan a chunnaic e, C'àit *am bheil* e?

8 Mar aiſling grad-ſhiùbhlaidh [i] e, agus cha'n fhaighear e; agus teichidh e mar ſhealladh na h-oidhche.

9 An t-sùil a chunnaic e, cha '*n fhaic i e* tuilleadh; agus ni's mò cha'n amhairc 'àite féin air.

10 Iarraidh a mhic na bochdan a thoileachadh, agus aiſigidh a làmhan am maoin.

11 Tha a chnàmha làn do *pheacadh* 'òige [k], agus maille ris anns an duſladh luidhidh e.

12 Ge do robh an t-olc milis na bheul, *ge* d'fholaich ſe e fuidh a theangaidh,

13 *Ge* do chaomhain ſe e, agus nach tréig ſe e, ach gu'n gléidh ſe e ann an taobh a ſtigh a bheoil;

14 Tionndaidhear a bhiadh na mhionach, gu domblas nan nathair an taobh a ſtigh dheth.

15 Shluig e sìos beartas, agus ſgeithidh e nìos e: tilgidh Dia mach as a bhroinn e.

16 Sùgaidh e nimh nan nathair [l]: marbhaidh teanga na nathrach millteich e.

17 Cha 'n fhaic e na h-aibhniche nan roinnibh [m], na fruthain meala agus ime.

18 Aiſigidh e an ni air ſon an do ſhaothraich e, agus cha ſluig e sìos e: a réir *a* ſhaibhris [n] bithidh 'aiſeag [o], agus cha dean e gairdeachas *ann*:

19 A chionn gu'n d'rinn e fòireigin, gu'n do threig e na bochdan, le h-ainneart gu'n d'thug e air falbh tigh nach do thog e.

20 Oir cha mhothaich e ſuaimhneas na chom [p], cha tèaruinn e bheag do na mhiannaich e.

21 Cha 'n fhàgar a' bheag d'a bhiadh: uime ſin cha bhi sùil *aig duine air bith* r'a mhaoin [q].

22 Ann an iomlaine a' phailteis bithidh e ann an teanntachd: thig gach aobhar dragha air [r].

23 *An uair* a bhios e gus a bhrù a lìonadh, tilgidh *Dia* fraoch [ſ] 'fheirge air, agus fraſaidh e air e 'nuair a bhios e ag itheadh.

24 Teichidh

a *gu'n éirich e air an duslach.* b *an déigh mo chroicinn ge do chnàmh iad* a' chreubhag ſo. c ge do *chaithear m'airnean an taobh a ſtigh dhiom.* d *annam.* e *oir* bheir *fearg peanas a' chlaidheimh.* f *Mo chronachadh maslach chuala mi.* g *luathghaire.* h *uaill.* i *iteilichidh.* k *d'a* pheacannaibh *diombair.* l *aſp.* Saſg. *peran.* Eabh. m *meuraibh, ſruth-chlaiſibh.* n a *neirt.* o *ath-dhioladh.* p *na bhroinn.* q *cha mhair a ſhoirbheas.* r *buailidh* làmh *gach* duine *dhrochmhuinte air.* ſ *laſan.*

24 Teichidh e roimh na h-armaibh iaruinn: buailidh am bogha umha [a] troimhe e.

25 Tairngear, agus thig a mach as *a* chorp, thig an claidheamh loinneara [b] mach as a dhomblas: *thig* uamhasan air.

26 *Bithidh* gach uile dhorchadas folaichte na ionadaibh diomhair: loisgidh teine gun séideadh e: éiridh gu h-olc dhasan a dh'fhàgar na phàilliun.

27 Foillsichidh na nèamhan 'aingidheachd; agus éiridh an talamh na aghaidh.

28 Triallaidh fàs a thighe: sruthaidh *nithe* as ann an latha 'fheirge.

29 *Is* e so cuibhrionn an duine aingidh o Dhia, agus an oighreachd a dh'orduicheadh dha le Dia.

CAIB. XXI.

ACH fhreagair Iob, agus thubhairt e,

2 Eisdibh gu furachar ri m' chainnt, agus biodh so mar [c] bhur comhfhurtachd.

3 Fuilgibh dhomh, agus labhraidh mi; agus an déigh dhomh labhairt, cuiribh ri'r fanoid.

4 Am' thaobh-sa, an ann ri duine *a tha* mo ghearan? agus nam b'ann, c'ar son nach biodh mo spiorad fa bhuaireas [d]?

5 Amhaircibh orm, agus biodh iongnadh [e] oirbh, agus cuiribh *bhur* làmh air *bhur* beul:

6 Oir an uair a chuimhnicheas mi, tha eagal [f] orm; agus glacaidh geiltchrith m'fheoil.

7 C'ar son ata na h-aingidh beò, a dh'fhàsas iad sean, agus a bhios iad ard [g] ann an cumhachd?

8 *Tha*'n sliochd air a dhaingneachadh nam fianuis maille riu, agus an gineal fa chomhair an sùl.

9 *Tha*'n tighean saor o eagal [h]; agus cha '*n'eil* slat Dhé orra.

10 Ginidh an tarbh, agus cha'n fhàilnich e; beiridh am bò laogh, agus cha tilg i *e*.

11 Cuiridh iad a mach an clann bheag mar threud; agus dannsaidh an gineal.

12 Togaidh iad an tiompan agus a' chlàrsach; agus ni iad gairdeachas ri fuaim an orgain.

13 Caithidh iad an laithean ann an saibhreas, agus ann an tiota [i] théid iad sìos do'n uaigh.

14 Agus their iad ri Dia, Imich uainn; oir cha'n àill leinn eòlas do shlighean.

15 Cò e an t-Uile-chumhachdach, gu'n deanamaid seirbhis dha? agus ciod an tairbhe bhios ann duinn, ma ni sinn urnuigh ris?

16 Feuch, cha '*n'eil* am maith nan làimh: *tha* comhairle nan aingidh fada uamsa.

17 Cia minic a chuirear coinneal nan aingidh as, agus a thig an sgrios orra? roinnidh *Dia* doilgheasan na fheirg.

18 Bithidh iad mar asbhuain roimh 'n ghaoith, agus mar mholl a bheir an iomghaoth leatha.

19 Taisgidh Dia suas 'euceart-san [k] d'a chloinn: dìolaidh e dha, agus bithidh fios aig *air*.

20 Chi a shùilean a sgrios, agus do fheirg an Uile-chumhachdaich òlaidh se.

21 Oir ciod an tlachd *a bhios* aige na thigh na dhéigh, 'nuair a ghearrar as àireamh a mhìos 'nam meadhon?

22 Do Dhia an teagaisg *neach air bith* eòlas, agus gur e féin a bheir breth orra-san ata arda?

23 Bàsaichidh e so na làn neart, agus e uile aig fois agus an sìth.

24 Tha innidh làn saill [l], agus a chnàmhan air an taiseachadh le smior.

25 Agus bàsaichidh e sin ann an searbhas 'anama, agus cha 'n ith e idir le toil-inntinn.

26 Cuideachd anns an duslach luidhidh

a *stàilinn, cruadhach.* b *liobhta, dealrach.* c *an àit.* d *air a theannachadh, air a bhrosnachadh.* e *uamhas.* f *uamhas.* g *barraichte, treun* h *tearuinte* agus *as eugmhais eagal.* i *ann an gradaig.* k *euceart* an duine aingidh, *a thruaighe.* l *a chìocha làn bainne.*

lwidhidh iad, agus còmhdaichidh cnuimhean iad.

27 Feuch, is aithne dhomh bhur smuainte, agus na h-innleachdan *a* tha sibh a' dealbhadh gu h-eucorach a'm' aghaidh:

28 Oir their sibh, C'ait *am bheil* tigh an duine mhòir, agus c'àit *am bheil* ionada-còmhnuidh nan aingidh?

29 Nach d'fheòraich sibh dhiubh-san a ghabhas seachad air an t-slighe? agus nach aithne dhuibh an comharan?

30 Gu'n gleidhear an t-aingidh chum latha an sgrios; chum latha na feirge gu'n dthoirear a mach iad.

31 Cò a chuireas an céill a shlighe as an eudan: agus cò a dh'iocas dha *na* rinn e.

32 Ach a chum na h-uaighe bheirear e, agus anns an àit-adhlacaidh fanaidh se.

33 Bithidh fòidean a' ghlinne milis dha, agus tairngidh gach duine na dhéigh, mar *a ta* iad do-àireamh roimhe.

34 Cionnas ma ta a tha sibh a' tabhairt comh-fhurtachd dhomh gu dìomhain, an uair a ta cealg 'nar freagradh?

CAIB. XXII.

AN sin fhreagair Eliphas an Temanach, agus thubhairt e,

2 Do Dhia am feud duine a bhi tarbhach, mar a dh'fheudas esan a ta glic bhi tarbhach dha féin?

3 An toil-inntinn do'n Uile-chumhachdach gu'n saor thusa thu féin? agus am buannachd e *dha-san*, gu'n dean thu do shlighean iomlan?

4 Air eagal romhad an cronaich e thu? an dthéid e chum breitheanais leat?

5 Nach 'eil t'aingidheachd mòr? agus t'eucearta gun chrìoch?

6 Oir ghabh thu geall od' bhràithribh gun aobhar, agus eudach nan lomnochd bhuin [a] thu dhiubh.

7 Cha d'thug thu uisge do'n sgìth r'a òl, agus o'n ocrach chum thu aran.

8 Ach *aig* fear a' ghairdein làidir bha an talamh, agus ghabh an duine urramach còmhnuidh ann.

9 Chuir thu bantraichean uait folamh, agus bhriseadh gairdeana nan dìlleachdan.

10 Air an aobhar sin mu'n cuairt ort *bha* ribeacha, agus ghlac [b] geilt obann thu;

11 No dorchadas air chor as nach faiceadh tu; agus chòmhdaich pailteas uisgeachan thu.

12 Nach 'eil Dia *ann an* airde nan nèamh? agus faic mullach [c] nan rionnag, cia ard a ta iad.

13 Agus their thusa, Cionnas a ta fios aig Dia? troimh an dorchadas [d] am breithnich e?

14 *Tha* neoil nan còmhdachadh dha, agus cha'n fhaic e; agus ann an cuairt nan nèamh siùbhlaidh e.

15 An d'thug thu fa'near an t-slighe o shean, air an d'imich daoine aingidh;

16 A ghearradh sìos roimh an àm, agus thaom tuil thar am bunait?

17 A thubhairt ri Dia, Imich uainn: agus ciod is urrainn an t-Uile-chumhachdach a dheanamh air ar [e] son?

18 Gidheadh lìon e an tighean le nithibh maithe: ach gu ma fada bhios comhairle nan aingidh uamsa!

19 Chi na h-ionraic, agus bithidh aoibhneas orra: agus ni an neo-chiontach gaire-fanoid riu.

20 An àit, nach do ghearradh ar maoin-ne sìos; ach loisgidh teine am fuigheall-san.

21 Gabh-sa nis eòlas air-san, agus bi 'an sìth: mar sin thig maith a'd' ionnsuidh.

22 Gabh, guidheam ort, an lagh o 'bheul, agus cuir suas a bhriathran ann ad chridhe.

23 Ma philleas tu dh'ionnsuidh an Uile-chumhachdaich, togar suas thu; cuiridh tu eucearta am fad od' phàilliuna'bh.

24 Agus cuiridh tu suas òr mar dhuslach, agus *òr* Ophir mar chlachaibh nan sruth.

25 Agus bithidh an t-Uile-chumhachdach

a *rùisg*. b *glacaidh*. c *airde; ceann*. Eabh. d *an neul dorcha*. e *an*.

achdach na dhìdean agad, agus bithidh neart[a] airgid agad.

26 Oir an ſin bithidh do thlachd anns an Uile-chumhachdach, agus togaidh tu ſuas do ghnùis a dh'ionnſuidh Dhé.

27 Ni thu urnuigh ris, agus éiſdidh e riut, agus dìolaidh tu do bhòidean.

28 Agus cuiridh tu ni romhad, agus daingnichear riut e; agus air do ſhlighibh dealraichidh ſolus.

29 An uair a dh'iſlichear daoine, an ſin their thu, *Bithidh* ardachadh ann: agus ſaoraidh e an t-irioſal.

30 Saoraidh ſe eſan nach 'eil neo-chiontach[b], agus ſaorar e le gloine do[c] làmh-ſa.

C A I B. XXIII.

ACH fhreagair Iob, agus thubhairt e,

2 An diugh féin *is* ſearbh mo ghearan: is truime mo bhuille na m'oſna.

3 Och gun fhios agam c'àit am faighinn eſan, *agus* gu'n dthiginn a dh'ionnſuidh 'aite!

4 Chuirinn *mo* chùis an ordugh na làthair, agus lionainn mo bheul le h-argumaidibh.

5 Bhiodh fios agam air na briathraibh leis am freagaireadh e mi, agus thuiginn ciod a theireadh e rium.

6 Le *a* mhòr chumhachd an tagaireadh e a'm' aghaidh? ni h-eadh, ach chuireadh e *neart* annam.

7 An ſin thagaireadh am ſirean ris, agus bhithinn air mo ſhaoradh gu bràth o'm' bhreitheamh.

8 Feuch, théid mi air m'aghaidh, ach cha '*n'eil* eſan ann; agus air m'ais, ach cha mhothaich mi e:

9 Air an làimh chlì, far am bheil e ag oibreachadh, ach cha 'n fhaic mi *e*; folaichidh ſe e féin air an làimh dheis, agus cha léir dhomh *e*.

10 Ach is aithne dha an t-ſlighe agam: an uair a dhearbhas e mi, mar òr thig mi a mach.

11 Air a cheumaibh chum mo chos; ghléidh mi a ſhlighe, agus cha do chlaon mi.

12 *O* àithne a bhilean cha deachaidh mi air m'ais; ni's mò na mo dhlighe *bìdh* mheas mi briathran a' bheoil[d].

13 Ach *tha* e ſan aon *bheachd*[f], agus cò a dh'iompoicheas[g] e? agus *an ni* is miann le 'anam, *ſin* ni e.

14 Oir coimhlionaidh e an ni a dh'orduicheadh dhomhſa: agus *tha* mòran d'an leithidibh ſin aige.

15 Uime ſin tha ſiamh orm na fhianais; an uair a bheir mi fa'near, tha eagal orm roimhe:

16 Oir mhaothaich Dia mo chridhe, agus chuir an t-Uile-chumhachdach ſiamh orm;

17 A chionn nach do ghearradh as mi roimh an dorchadas, agus o m' ghnùis nach d'fholaich e an dorchadas.

C A I B. XXIV.

C'AR SON, o nach d'fholaicheadh aimſirean o'n Uile-chumhachdach, nach faic iadſan d'an aithne e a laithean?

2 Atharraichidh iad na comharantalmhainn; bheir iad treudan leo le foirneart, agus biadhaidh ſiad *iad*.

3 Iomainidh iad air falbh aſal nan dìlleachdan; mar gheall glacaidh iad damh na bantraich.

4 Tionndadhaidh iad na feumaich as an t-ſlighe: le chéile folaichidh bochdan na talmhainn iad féin.

5 Feuch, mar aſalaibh ſiadhaich anns an fhàſach theid iad a mach a chum an oibre, ag éirigh gu moch a chum creiche: *bheir* am fàſach biadh dhoibh d'*an* òigridh[h].

6 Anns an fhearann buainidh iad arbhar; agus cruinnichidh iad fìon-fhoghara an aingidh.

7 Bheir iad air an lomnochd luidhe gun eudach, agus gun chòmhdachadh anns an fhuachd.

8 Le fraſaibh nam beann bithidh iad fliuch, agus a dhìth faſgaidh[i] gabhaidh iad nan glacaibh a' charraig.

a *pailteas.* b *an neo-chiontach, eilean an neo-chiontaich.* c *a.* d *a'm' chridhe thaiſg mi briathran a bheoil.* f tha *e na aon.* g *thionndadhas, philleas.* h *d'an* *cloinn.* i *a chion tearmuinn.*

9 Spìonaidh iad an dìlleachdan o'n chìch, agus o'n bhochd gabhaidh iad geall.

10 Bheir iad air imeachd lomnochd, gun eudach; agus *o* na h-ocraich bheir iad leo an ſguab.

11 An taobh a ſtigh d'am balłach-aibh fàiſgidh[a] iad oladh; bruthaidh iad *am* fìon-amair, agus fuilingidh iad tart.

12 As a' bhaile tha daoine ag oſnaich, agus éighidh anam nan *daoine* leònta; gidheadh cha chuir Dia amaideachd as *an* leth.

13 Tha iad dhiubhſan a dh'éireas ſuas an aghaidh an t-ſoluis; cha 'n aithne dhoibh a ſhlighean, agus cha ghluais iad na cheumaibh.

14 Leis an t-ſolus éiridh am mortair[b], [agus] marbhaidh e am bochd agus am feumach; agus anns an oidhche bithidh e mar ghaduiche.

15 Mar an ceudna feithidh sùil an adhaltranaich ris an dubh-thra[c], ag ràdh, Cha'n fhaic sùil mi; agus cuiridh e folach air 'aghaidh.

16 Cladhaichidh iad anns an dorchadas troimh thighibh, *a* chomharaich iad dhoibh féin ſan là; cha'n aithne dhoibh an ſolus:

17 Oir *tha* mhaduinn dhoibh-ſan mar ſgàile a' bhàis: ma dh'aithnicheas *neach iad, bithidh iad ann an* uamhaſaibh ſgàile a' bhàis.

18 Luath *tha* e mar na h-uiſgeacha[d]; mallaichear an cuibhrionn air an talamh: cha'n fhaic e ſlighe nam fìon-lios.

19 Bheir tiormachd agus teas leo uiſgeachan an t-ſneachdaidh; an uaigh *iadſan a* pheacaich.

20 Di-chuimhnichidh a' bhrù e, biadhaidh a' chnuimh gu milis air; ni's mò cha chuimhnichear e; agus briſear aingidheachd mar chrann.

21 Bithidh e olc ris a' *mhnaoi* neo-thoraich, nach beir *clann*; agus do'n bhantraich cha dean e maith.

22 Agus tairngidh e na daoine treuna le a neart: éiridh e ſuas, agus cha 'n'eil *neach air bith* cinnteach d'a bheatha.

23 Bheir e dha a bhi ann an tèaruinteachd agus *as ſin* earbaidh e; ach *a ta* a ſhùilean air an ſlighibh.

24 Arduichear iad rè tamuill, ach cha *bhi* iad ann; ìſlichear iad, agus mar na h-uile bheirear air falbh iad, agus mar cheann déiſe gearrar as iad.

25 Agus mur '*eil* e mar ſin a nis, cò a ni breugaire dhìom, agus a bheir gu neo-ni mo chainnt?

CAIB. XXV.

AN ſin fhreagair Bildad an Suhach, agus thubhairt e,

2 *Tha* tighearnas agus eagal maille ris-ſan: ni e sìth na ionadaibh arda.

3 Am bheil àireamh air bith air a ſhlòigh? agus cò air nach éirich a ſholus.

4 Cionnas ma ta a ſhaorar duine aig Dia? agus cionnas a bhios eſan glan a rugadh o mhnaoi?

5 Amhairc eadhon air a' ghealaich, agus cha dealraich i; agus cha 'n'eil na rionnaga glan na ſhealladh.

6 Cia is ro-lugha na ſin an duine *a ta* na chnuimh, agus mac an duine *a ta* na chnuimh?

CAIB. XXVI.

ACH ſhreagair Iob, agus thubhairt e,

2 Cionnas a chuidich thu leis an ti *a ta* gun chumhachd? cionnas a ſhaor thu an gairdean *a ta* gun neart?

3 Cionnas a chomhairlich thu eſan aig nach '*eil* gliocas, agus a dh'fhoillſich thu gu pailte an ni mar a ta e?

4 Cia ris a labhair thu briathran? agus cia leis an ſpiorad a thàinig uait?

5 Dealbhar *nithe* marbha fuidh na h-uiſgeachaibh, agus an luchd-àiteachaidh.

6 Lomnochd tha ifrinn na làthair, agus cha '*n'eil* còmhdachadh aig léirſgrios.

7 *Tha e* a' sìneadh na h-airde tuath os-cionn an ionaid fholaimh, a' crochadh na talmhainn air neo-ni;

8 A' ceangal ſuas nan uiſgeacha na neulaibh, agus cha reubar an neul fopa

9 A'

a *ni.* b *murtair.* c *fheaſgar, anmoch.* d *air aghaidh nan uiſgeacha.*

9 A' cumail a ſtigh [a] aghaidh a righ-chathrach, a' ſgaoileadh a neoil oirre.

10 Chuairtich e na h-uiſgeacha le crìochaibh, gus an teirig [b] an là maille ris an oidhche.

11 Criothnaichidh puiſt [c] nan nèamh, agus bithidh uamhas orra r'a achmhaſan.

12 Le 'chumhachd roinnidh e an fhairge, agus le 'thuigſe buailidh e an t-uaibhreach.

13 Le a ſpiorad ſgeadaich e na nèamha; dhealbh a làmh an nathair lùbach.

14 Feuch, *is* iad ſin cuid d'a ſhlighibh: ach cia beag a' chuibhrionn a chuala ſinn deth? agus cò a dh'fheudas tairneanach a chumhachd a thuigſion?

CAIB. XXVII.

AGUS bhuanaich Iob na choſamhlachd a' labhairt a mach, agus thubhairt e,

2 Mar is beo Dia *a* thug air falbh mo bhreitheanas, agus an t-Uile-chumhachdach *a* chràidh m'anam,

3 Co fhad as a bhios m'anail annam, agus ſpiorad Dhé ann am chuinneinibh [d],

4 Cha labhair mo bhilean aingidheachd, agus cha chan mo theanga cealg.

5 Nar leigeadh Dia gu'n ſaorainn ſibh: gus am bàſaich mi, cha'n atharraich mi m'ionracas uam.

6 Ann am fhìreantachd ſanaidh mi, agus cha leig mi uam i; cha mhaſlaich mo chridhe *mi* rè mo laithean.

7 Mar an t-aingidh biodh mo nàmhaid; agus eſan a dh'éireas ſuas a'm' aghaidh mar an t-eucorach.

8 Oir ciod e dòchas a' chealgeir, ge do bhuannaich e, 'nuair a bheir Dia air falbh 'anam?

9 An éiſd Dia r'a ghlaodh, 'nuair a thig àmhghar air?

10 Anns an Uile-chumhachdach an gabh e tlachd? an gairm e air Dia gach àm?

11 Teagaiſgidh mi ſibh le làimh Dhé; *an ni* a *ta* aig an Uile-chumhachdach, cha cheil mi.

12 Feuch, chunnaic ſibh féin uile e; c'ar ſon mata a tha ſibh cho rofhaoin?

13 Is i ſo cuibhrionn an duine aingidh aig Dia, agus oighreachd luchd-foirneart *a* gheibh iad o'n Uile-chumhachdach.

14 Ma dh'fhàſas a mhic lìonmhor, *is ann* air ſon a' chlaidheimh: agus cha sàſaichear a ſhliochd le h-aran.

15 Adhlaicear iadſan a mhaireas na dhéigh [e] anns a' bhàs; agus cha ghuil a bhantraichean.

16 Ge do charn e ſuas airgiod mar an duſlach, agus ge do dheaſaich e eudach mar an làthach;

17 Deaſaichidh ſe *e*, ach cuiridh an t-ionracan air e; agus roinnidh an neo-chiontach an t-airgiod.

18 Togaidh e mar an leomann a thigh, agus mar bhothan *a* ni am fear-coimhid.

19 Luidhidh an ſaibhir sìos, ach cha chruinnichear e: foſgailidh ſe a ſhùilean, agus cha *'n'eil* e ann.

20 Glacaidh uamhaſan e mar uiſgeacha: ſan oidhche goididh doinionn air falbh e.

21 Bheir a' ghaoth an ear leatha e, agus ſiubhlaidh e; agus le h-iomghaoith grad-ghluaiſidh i as 'àit e.

22 Oir caithidh [f] Dia air, agus cha chaomhain e: bu mhiann leis teicheadh as a làimh.

23 Buailidh *daoine* am baſan ris, agus le ſgeig ſuadaichidh iad as 'àit e.

CAIB. XXVIII.

GU cinnteach tha dol a mach [g] aig an airgiod, agus àit aig an òr *anns* an leagh iad e.

2 Bheirear iarunn as an talamh, agus leaghar a' chlach na h-umha.

3 Chuir e crìoch air an dorchadas; agus rannſaichidh e mach gach iomlaine, clachan duibhre agus ſgàile a' bhàis.

4 Briſidh an ſruth [h] a mach o'n luchd àiteachaidh; dearmadar [i] iad leis

a *air a h-ais.* b *dthig crìoch air.* c *tuiridhean; pillars.* Saſg. d *choimhlionaibh.* e *iarmad.* f *tilgidh.* g *cuiſle.* h *na ſruthan, an tuil.* i *di-chuimhnichear.*

leis a' chois; tiormaichear ſuas iad, o
dhaoinibh ſiubhlaidh iad.
5 *A thaobh* na talmhainn, aiſde
thig aran; agus fuidhe [a] tionndadh-
ar ſuas amhuil teine:
6 *Is iad* a clachan àit na ſaphir;
agus *tha* duſlach òir aice:
7 Ceum nach aithne do'n eun-
laith, agus nach faca sùil na fainge [b].
8 Cha do ſhaltair cuileana an leò-
mhain [c] air, agus cha deachaidh an
leòmhan garg ſeachad air.
9 Air a' charraig cuiridh e mach a
làmh: tilgidh e bun os cionn na
beannta.
10 Anns na creagaibh bheir e air
aibhnichibh briſeadh a mach; agus
chi a ſhùil gach ni luachmhor.
11 Ceanglaidh e na h-aibhnichean
o dhol thairis, agus *an ni a ta* folaich-
te bheir e gu folus.
12 Ach cia as a gheibhear gliocas?
agus c'àit am bheil ionad na tuigſe?
13 Cha'n aithne do dhuine a luach [d];
agus cha'n fhaighear i ann an tìr nam
beo.
14 Their an doimhne, Cha *'n'eil* i
annam-ſa; agus their a' mhuir, Cha
'n'eil i maille riumſa.
15 Cha dthòirear òr air a fon, a-
gus cha tomhaiſear airgiod mar a
luach.
16 Cha mheaſar i le h-òr na h-O-
phir, leis an Onics luachmhoir, no leis
an t-ſaphir.
17 Cha choimeaſar òr no leug rithe;
agus cha *bhi* a malairt le ſeudaibh
do'n òr fhìor-ghlan.
18 Air coireal no neamhnuidibh [e]
cha luadhar; oir tha luach gliocais
os cionn nan clach a's uaiſle [f].
19 Cha choimeaſar topas na h-Eti-
opia rithe: leis an òr fhìor-ghlan cha
mheaſar i.
20 Cia as ma ta a thig gliocas?
agus c'àit *am bheil* ionad na tuigſe?
21 Oir a ta i am folach o ſhùilibh
nan uile bheò; agus o eunlaith an
athair tha i an cleith.
22 Thubhairt léir-ſgrios agus am
bàs, Le'r cluaſaibh chuala ſinn a
cliu.
23 Tuigidh Dia a ſlighe, agus is
aithne dha a h-àit:
24 Oir gu crìochaibh na talmhainn
amhaircidh eſan; fuidh na neamh-
aibh uile chi e:
25 Chum gu dean e cudthrom do'n
ghaoith, agus *gu* tomhais e na h-uiſg-
eacha le tomhas.
26 An uair a rinn e reachd do'n
uiſge, agus ſlighe do dhealanach na
tairneanaich;
27 An ſin chunnaic ſe i, agus
dh'fhoillſich e i; dheaſaich e i, ſeadh,
agus rannſaich e mach i.
28 Agus thubhairt e ris an duine,
Feuch, eagal an Tighearna, *is* e ſin
gliocas; agus an t-olc a thréigſinn,
tuigſe.

CAIB. XXIX.

AGUS bhuanaich Iob na choſamh-
lachd a labhairt a mach, agus
thubhairt e,
2 Och nach robh mi mar anns na
mìoſaibh a chaidh tharum, mar anns
na laithibh *air* an do choimhid [g] Dia
mi!
3 'Nuair a thug e air a lòchran
dealrachadh air mo cheann, *agus* le
a ſholus a ghluais mi ſan dorchadas;
4 Mar a bha mi ann an laithibh
m'òige, 'nuair *a bha* rùn-dìomhair
Dhé air mo phàilliun;
5 An uair a *bha*'n t-Uile-chumh-
achdach fathaſt maille rium, *agus*
m'òganaich [h] mu m' thimchioll;
6 An uair a nigh mi mo cheuma
le h-im, agus a thaom a' charraig a
mach dhomh ſruthan oladh;
7 'Nuair a chaidh mi *mach* gu
geatadh a' bhaile, a dheaſaich mi
m'àite-ſuidhe anns an t-ſràid.
8 Chunnaic na daoine òga mi, a-
gus dh'fholaich ſiad iad féin, agus
dh'éirich na *daoine* aoſda, *agus* ſheas
iad.
9 Sguir na h-uachdarain do labh-
airt, agus chuir iad *an* làmh air am
beul.
10 Dh'fhan na h-ard-uaiſlean nan
toſd, agus lean an teanga r'an gial.
11 An uair a chual a' chluas,
bheannaich

a *fuipe, o a h-ìochdar.* b *na ſeabhaige; Aiab.* Eabh. c *mic an ardain.* d *a riaghailt, a ſlighe.* e *gabis.* Eabh. f *rubies.* Saig. *peninim.* Eabh. g *ghlèidh.* h *mo chlann.*

bheannaich i mi; agus an uair a
chunnaic an t-sùil, thug i fianuis
leam.
12 A chionn gu'n do ſhaor mi am
bochd a bha 'g éigheach, agus an
dìlleachdan aig nach robh fear-cuid-
eachaidh [a].
13 Thàinig beannachadh an ti a
bha ullamh gu bàſachadh orm; agus
thug mi air cridhe na bantraich ſeinn
le h-aoibhneas.
14 Chuir mi ionracas orm, agus
dh'eudaich e mi: mar fhalluing a-
gus mar choron *bha* mo bhreitheanas.
15 Bu ſhùilean mi do'n dall, agus
bu choſan mi do'n bhacach.
16 *Bha* mi a'm' athair do na
bochdaibh; agus a' chùis nach b'
aithne [b] dhomh rannſaich mi a mach.
17 Agus bhris mi gial an droch
dhuine, agus as 'fhiaclaibh ſpìon mi
a' chreach.
18 Agus thubhairt mi, Ann am
nead gheibh mi bàs; agus mar a'
ghaineamh ni mi *mo* laithean lìon-
mhor.
19 Bha [c] mo fhreumh air a ſgaoil-
eadh a mach làimh [d] ris na h-uiſgeach-
aibh, agus luidh an drùchd rè na
h-oidhche air mo mheangan.
20 *Bha* mo ghlòir ùr agam, agus
dh'athnuadhaicheadh mo bhogha ann
am làimh.
21 Riumſa dh'éiſd *daoine*, agus
dh'fheith iad, agus bha iad nan toſd
ri m' chomhairle.
22 An déigh mo bhriathra cha do
labhair iad a rìs; agus ſhil mo chainnt
orra.
23 Agus bha sùil aca rium, mar
ris an uiſge; agus dh'fhoſgail iad am
beul gu farſuing, *mar* air ſon an uiſge
dheireanaich.
24 Ma ghàir mi riu, cha do chreid
iad, agus ſolus mo ghnùiſe cha do
thilg iad sìos.
25 Thagh mi mach an ſlighe, agus
ſhuidh mi mar cheannard, agus chòmh-
nuich mi mar rìgh ann an armailt,
mar *aon a* bheir comhfhurtachd do
luchd-bròin.

CAIB. XXX.

ACH a nis tha iadſan a's òige na
miſe a' deanamh fanoid orm,
muinntir nach b'fhiu leam an aith-
richean a chur maille ri conaibh mo
threuda.
2 Seadh, ciod an tairbhe *a bhiodh*
dhomhſa ann an neart an làmh, aig
an deachaidh as d'an ſean aois?
3 Le dìth agus le gorta *bha iad*
uaigneach, a' teicheadh do'n fhàſach,
a bha ſan àm a chaidh ſeachad na
fhàſalachd agus na léir-ſgrios:
4 A' gearradh ſios maloimh [e] làimh
ris na preaſaibh, agus freumhan-aiteil
mar bhiadh.
5 O mheaſg *dhaoine* dh'fhògradh
a mach iad: dh'éigh iad nan agh-
aidh, mar *an aghaidh* gaduiche.
6 *Bha iad* a chòmhnuidh ann an
ſgaradh nan gleann, *ann an* uamh-
aibh na talmhainn agus nan creag.
7 Am meaſg nam preas rinn
iad gearan [f]: fuidh 'n eanntagaich
chruinnicheadh iad ri chéile:
8 Clann nan amadan, ſeadh, clann
dhaoine gun chliu: bha iad ni bu
tàireile na'n talamh.
9 Agus a nis is miſe a's òran doibh,
agus a ta mi a'm' leth-fhocal aca.
10 Tha iad a' gabhail gràin dìom,
tha iad a' teicheadh fad as uam, agus
cha chaomhain iad ſmugaid a thilg-
eadh a'm' eudan.
11 A chionn gu'n d'fhuaſgail e
mo chord, agus gu'n do ſhàraich e
mi, leig iadſan mar an ceudna an
t-ſrian ſgaoilte romham.
12 Air *mo* dheas làimh dh'éirich
an òigridh, thug iad air mo choſaibh
ſleamhnachadh uam, agus thog iad
ſuas a'm' aghaidh ſlighean an ſgrios.
13 Mhill iad mo cheuma, chuir
iad m'aimhleas air aghaidh, gun
fhear-cuideachaidh aca.
14 Mar bhriſeadh a ſteach leathan
thàinig iad, mar ann an léir-ſgrios
thaom iad a ſtigh.
15 Thionndaidh uamhaſan a'm'
aghaidh [g]: ruaig iad m'anam mar a'

[a] *agus* eſan *aig nach robh fear-cuideachaidh*. [b] *cùis an ti nach b'aithne dhomh*. [c] *Bithidh*. [d] *luidhidh*. [e] *gropis; maluch*. Eabh. [f] *ciurr ulan; ſtirich*. Eabh. [g] *orm*.

ghaoth; agus mar neul chaidh mo thèaruinteachd ſeachad.

16 Agus a nis tha m'anam air a dhòrtadh a mach orm; ghlac laithean àmhghair mi.

17 San oidhche tha mo chnàmhan air an tolladh annam: agus cha bhi m'fhéithean aig fois.

18 Le meud a neirt mhùth e m'eudach[a]: mar bhile mo chòta chuairtich e mi.

19 Thilg e mi anns an làthaich, agus tha mi air fàs coſmhuil ri duſlach agus ri luaith.

20 Dh'éigh mi riut, agus cha d'éiſd thu rium; ſheas mi ſuas, agus [cha] d'thug thu fa'near mi.

21 Tha thu air fàs an-iochdmhor rium: le neart do làimhe tha thu 'gad chur féin a'm' aghaidh.

22 Tha thu 'gam thogail ris a' ghaoith: tha thu toirt orm marcachd *oirre*, agus a' leaghadh as mo bhrìgh.

23 Oir a ta fhios agam gu'n dthoir thu mi gu bàs, agus a chum an tighe a dh'orduicheadh do gach uile bheò.

24 Gidheadh cha sìn e mach *a* làmh a chum na h-uaighe, ge do ghlaodh iad na ſgrios.

25 Nach do ghuil miſe air a ſhonſan a bha ann an àmhghar? nach robh m'anam doilich air ſon an *duine* bhochd?

26 An uair a bha sùil agam ri maith, an ſin thàinig olc; agus an uair a bha dùil agam ri ſolus, thàinig dorchadas.

27 Bha m'innigh air ghoil, agus cha robh fois aca: chuir laithean àmhghair romham.

28 Ri bròn dh'imich mi as eugmhais na gréine: dh'éirich mi, anns a' chomhchruinneachadh dh'éigh mi.

29 Is bràthair mi do na dragonaibh, agus *is* companach *mi* do na cumhachagaibh[b].

30 Dhubhadh mo chroicionn orm, agus loiſgeadh mo chnàmha le teas.

31 Agus tha mo chlàrſach air tionndadh gu bròn, agus m'òran gu guth na muinntir a ghuileas.

CAIB. XXXI.

RINN mi coimhcheangal rim'ſhùilibh: c'ar ſon ma ta a ſmuainichinn air maighdinn?

2 Oir ciod e cuibhrionn Dhé o'n *ionad* ſhuas, agus oighreachd an Uile-chumhachdaich o'n airde?

3 Nach *'eil* ſgrios ann do'n droch *dhuine*, agus coimhichead[c] do luchd-deanamh na h-euceirte?

4 Nach 'eil e a' faicinn mo ſhlighean, agus ag àireamh mo cheumanna gu léir?

5 Ma ghluais mi le dìomhanas, agus ma ghreas mo chos a chum ceilge;

6 Cudthromaichear mi ann am meidhibh a' cheartais, chum gu'm bi fios aig Dia air m'ionracas.

7 Ma thionndaidh mo cheum as an t-ſlighe, agus an déigh mo ſhùl gu'n do ghluais mo chridhe, agus ri m' làmhaibh gu'n do lean ſmal air bith;

8 Cuiream, agus itheadh neach eile, ſeadh, biodh mo ſhliochd air an ſpìonadh as am freìmh.

9 Ma mhealladh mo chridhe le mnaoi, agus aig dorus mo choimhearſnaich ma rinn mi feall-fholach;

10 Meileadh mo bhean do neach eile, agus cromadh daoin eile oirre;

11 Oir *is* cionta mòr ſo, agus *is* euceart e *air ſon* nam breitheamhna[d].

12 Oir *is* teine e a loiſgeas chum ſgrios, agus a ſpìonadh as m'fhàs uile.

13 Ma rinn mi tàir air cùis m'òglaich, no mo bhan-oglaich, an uair a thagair iad[e] rium;

14 Ciod ma ta a ni mi 'nuair a dh'eireas Dia? agus an uair a dh'fhioſraicheas e, ciod a fhreagaireas mi dha?

15 Nach e'n ti a rinn miſe anns a' bhroinn, a rinn eſan? agus nach aon a dhealbh ſinn anns a' bhroinn?

16 Ma chum mi na bochdan o'*m* miann, agus ma thug mi air sùilibh na bantraiche fàilneachadh;

17 No ma dh'ith mi mo ghreim a'm' aonar, agus nach d'ith an dìlleachdan dheth;

18 (Oir

a *le neart* m'eucalach *chaochaileadh m'eudach.* b *coileachaibh-oidhche.* c peanas *iongantach.* d *gu bi air a ſmachdachadh leis na breitheamhnaibh.* e *a rinn iad ſtrì rium.*

18 (Oir o m'òige dh'fhàs e ſuas
maille rium, mar *aig* 'athair: agus o
bhroinn mo mhathar threòraich mi
iſe.)
19 Ma chunnaic mi neach a' bàſ-
achadh a dhìth eudaich, agus nach
robh còmhdachadh aig a' bhochd ;
20 Mur do bheannaich a leaſraidh
mi, agus mur do bhlàthaicheadh e le
lomradh mo chaorach ;
21 Ma thog mi mo làmh an agh-
aidh an dìlleachdain, an uair a chun-
naic mi mo chòmhnadh anns a'
gheata ;
22 Tuiteadh mo ghairdean o'n
t-ſlinnean, agus briſear mo righe o'n
chnàimh [a].
23 Oir *bha* ſgrios o Dhia na uamh-
as dhomhſa, agus a thaobh 'airde-ſan
cha robh e'n comas domh fulang.
24 Ma chuir mi ſan òr mo dhòchas,
agus ma thubhairt mi ris an òr fhìor-
ghlan, *Is tu* m'earbſa ;
25 Ma rinn mi gairdeachas a chionn
gu'*n robh* mo bheartas mòr, agus a
chionn gu'n d'fhuair mo làmh mòran;
26 Ma dh'amhairc mi air a' ghréin
an uair a dhealraich i, no air a' gheal-
aich a' gluaſad an ſoilliſe,
27 Agus gu'n do mhealladh mo
chridhe os ìoſal, agus gu'n do phòg
mo bheul mo làmh :
28 *Is* cionta ſo mar an ceudna *air
ſon* a' bhreitheimh, oir dh'àicheadh-
ainn an Dia *a ta* ſhuas.
29 Ma rinn mi gairdeachas ri
ſgrios an tì a dh'fhuathaich mi, agus
ma thog mi mi féin ſuas a chionn gu'n
d'thàinig olc air :
30 Oir cha do leig mi le m'bheul
peacachadh le mallachadh iarraidh
air 'anam.
31 Mur d'thubhairt fir mo phàil-
liuin, Och nach robh ſinn air ar sàſ-
uchadh le 'fheoil [b] !
32 Am muigh cha do luigh an
coigreach : mo dhorus dh'fhoſgail mi
do'n fhear-turuis.
33 Ma cheil mi, mar Adhamh,
m'euſaontais, le m'euceart ſholach-
adh a'm' uchd :
34 An uair a bha eagal orm [c]
roimh mhòr ſhluagh, no chuir tarcuis
theaghlach uamhas orm, agus a bha
mi a'm' thoſd agus nach deachaidh
mi mach air dorus.
35 Och nach éiſdeadh aon rium !
feuch; *is e* mo mhiann *gu'm* freagair-
eadh an t-Uile-chumhachdach mi, a-
gus *gu'n* ſcrìobhadh m'fhear-caſaid [d]
leabhar.
36 Gu deimhin air mo ghualainn
ghabhainn e ; cheanglainn e mar cho-
ron orm.
37 Aireamh mo cheumanna chuir-
inn an céill da ; mar cheannard rach-
ainn am fagus da.
38 Ma dh'éigheas m'fhearann a'm'
aghaidh, no ma ghearaineas mar an
ceudna a chiaiſean :
39 Ma dh'ith mi a thoradh gun
airgiod, no ma thug mi air a luchd-
ſeilbh an anam a chall :
40 An àit cruithneachd fàſadh
droighneach, agus an àit eorna ionnt-
agach [e]. Chrìochnaicheadh briath-
ran Iob.

C A I B. XXXII.

AN ſin ſguir an triuir dhaoine
ſo do thoirt freagraidh air Iob,
a chionn gu'*n robh* e ionraic na ſhùil-
ibh féin.
2 Agus las fearg Elihu mhic Bhar-
acheil a' Bhuſithich, do chinneadh
Ram ; an aghaidh Iob las 'fhearg, a
chionn gu'n d'fhìreanaich [f] ſe e féin
ni's mò na Dia.
3 Mar an ceudna an aghaidh a
thriuir chairde las 'fhearg, a chionn
nach d'fhuair iad freagradh, agus
gu'n do dhìt iad Iob.
4 A nis dh'fheith Elihu gus an do
labhair Iob, a chionn gu'*m bu* ſhine
iad na eſan.
5 An uair a chunnaic Elihu nach
robh freagradh air bith ann am beul
an triuir dhaoine *ſo*, an ſin las 'fhearg.
6 Agus fhreagair Elihu mac Bhar-
acheil a' Bhuſithich, agus thubhairt
e, *Tha* miſe òg, agus ſibhſe aoſmhor;
uime ſin bha eagal orm, agus bha
mi ſgàthach mu m' bharail a nochd-
adh dhuibh.

7 Thubhairt

a *o'n uilinn.* b *Och nach robh againn d'a fheoil! cha sàſuichear ſinn.*
c *An robh eagal orm, &c.* d *m'eaſcaraid.* e *canntagach, luibh loibh-
each.* f *gu'n do ſhaor.*

7 Thubhairt mi, Labhradh laithean, agus teagaiſgeadh lìonmhoireachd bhliadhnacha gliocas.

8 Ach *a ta* ſpiorad ſan duine, agus bheir anail an Uile-chumhachdaich tuigſe dha [a].

9 Cha bhi daoine mòra *a ghnàth* glic, agus *cha* tuig na h-aoſmhoir breitheanas.

10 Uime ſin thubhairt mi, Eiſdibh rium; nochdaidh miſe mar an ceudna mo bharail.

11 Feuch, dh'fheith mi ri'r briathraibh; dh'éiſd mi ri'r reuſonaibh, gus an do rannſaich ſibh ciod a theireadh ſibh.

12 Seadh, thug mi fa'near ſibh: agus feuch, cha *robh* aon agaibh a dhearbh an aghaidh Iob, *no* a thug freagradh air a bhriathraibh.

13 Air eagal gu'n abradh ſibh, Fhuair ſinn a mach gliocas: *is e* Dia a thilgeas sìos e, cha 'n e duine.

14 A nis cha do chuir e *a* bhriathran an ordugh a'm' aghaidh-ſe; agus le bhur ſoclaibh-ſe [b] cha fhreagair miſe e.

15 Bha uamhas orra; cha do fhreagair iad ni bu mhò; ſguir iad do labhairt.

16 Agus dh'fheith mi, ach cha do labhair iad: ach ſheas iad, agus cha do fhreagair iad ni bu mhò.

17 Freagairidh miſe mar an ceudna mo chuid féin; nochdaidh miſe mar an ceudna mo bharail.

18 Oir a ta mi làn do bhriathraibh; a ta ſpiorad mo chuim 'gam éigneachadh.

19 Feuch *a ta* mo chom mar fhìon gun dol as aige: mar ſhearraga nuadha, tha e ullamh gu bhi air a reubadh.

20 Labhraidh mi, agus bithidh laſachadh [c] agam; foſgailidh mi mo bhilean, agus freagairidh mi.

21 Na gabham-ſa, guidheam ort, ri gnùis duine air bith; agus ri duine na labhram gu miodalach.

22 Oir cha'n aithne dhomhſa cainnt mhiodalach: nam *b'aithne*, gu h-aithghearr bheireadh mo Chruithfhear air ſalbh mi.

C A I B. XXXIII.

UIME ſin, a Iob, cluinn, guidheam ort, mo bhriathra [d], agus éiſd ri m'fhoclaibh uile.

2 Feuch, a nis dh'fhoſgail mi mo bheul; labhair mo theanga ann am bheul.

3 *O* ionracas mo chridhe *thig* mo bhriathra; agus labhraidh mo bhilean eòlas gu ſoilleir.

4 Rinn ſpiorad Dhé mi, agus thug anail an Uile-chumhachdaich beatha dhomh.

5 Ma's urrainn thu, freagair mi, cuir *do bhriathran* an ordugh a'm' làthair, ſeas ſuas.

6 Feuch, *a ta* miſe, mar a ta thu féin o Dhia [e]; as a' chréidh dhealbhadh miſe mar an ceudna.

7 Feuch, cha chuir m'uamhas-ſa eagal ort, agus cha bhi mo làmh trom ort.

8 Gu cinnteach labhair thu a'm' éiſdeachd, agus chuala mi guth [do] bhriathar.

9 Glan *a ta* mi, gun euſaontas; neo-chiontach *a ta* mi, agus cha 'n *eil* euceart annam.

10 Feuch, tha e faghail cùiſean [f] a'm' aghaidh; tha e 'gam mheas mar a nàmhaid.

11 Tha e a' cur mo chos anns a' cheap; tha e a' geur-amharc air mo cheumaibh gu léir.

12 Feuch, *an* ſo cha 'n eil thu ceart; freagairidh mi thu gur mò Dia na duine.

13 C'ar ſon a chuireas tu na aghaidh; oir ann an aon air bith d'a nithibh cha dthoir e cunntas [g]?

14 Oir aon uair labhraidh Dia, agus an dara uair cha'n amhairc e thairis air [h].

15 Ann an aiſling, ann an ſealladh i'na h-oidhche, 'nuair a thuiteas codal trom air daoinibh, 'nuair a bhios iad nan ſuain air an leabaidh.

16 An

a *dhoibh.* b *uirghiol-ſa.* c *anail, fois.* d *mo chainnt, m'uirghiol.* e a ta *miſe a réir do ghuidhe, an àit Dhé.* f *chion-fàth.* g *cha fhreagair e.* h *ſeadh, dà uair,* ge *nach dthoir* duine *fa'near à taiſbeanadh.*

16 An sin fosgailidh e cluasan
dhaoine, agus seulaichidh e an teag-
aig.
17 Chum gu tarruing e duine *o a*
dheanadas[a], agus gu'm folaich e
uabhar o dhuine;
18 Gu'n cum e 'anam o'n t-slochd,
agus a bheatha o sgrios leis a' chlaidh-
eamh.
19 Oir smachdaichear e le péin
air a leabaidh, agus lionmhoireachd
a chnàmh *le péin* làidir:
20 Air chor as gu'n gabh a bheatha
gràin do aran, agus 'anam do bhiadh
deagh-bhlasda.
21 Caithear 'fheoil air chor as nach
faicear i; agus a chnàmha nach fac-
as, seasaidh a mach.
22 Agus tairngidh 'anam am fagus
do'n uaigh, agus a bheatha do na
milltearaibh.
23 Ma bhios teachdaire aige, ead-
ar-theangair, aon am measg mìle, a
nochdadh 'ionracais do dhuine:
24 An sin gabhaidh e truas deth,
agus their e, Saor e o dhol sìos do'n
t-slochd: fhuair mi éiric[b].
25 Bithidh 'fheoil ni's ùire na *feoil*
leinibh: thig e air ais gu laithibh
'òige.
26 Ni e urnuigh ri Dia, agus gabh-
aidh e gu caoimhneil[c] ris, agus chi
e a ghnùis le gairdeachas; oir ìocaidh
e do dhuine 'ionracas.
27 Amhaircidh e air daoinibh, a-
gus *ma* their *aon duine*[d], Pheacaich
mi, agus chlaon mi an *ni a bha* ceart,
agus cha robh e chum tairbhe dhomh:
28 Saoraidh e 'anam[e] o dhol sìos
do'n t-slochd, agus chi a[f] bheatha
solus.
29 Feuch, na *nithe* sin uile oib-
richidh Dia gu minic[g] a thaobh
duine.
30 A thoirt 'anama air ais o'n
t-slochd, gu bhi air a shoillseachadh
le solus nam beo.
31 Thoir fa'near, a Iob, éisd rium,
bi d'thosd, agus labhraidh mi.
32 Ma ta bheag agad r'a ràdh,
freagair mi: labhair, oir bu mhiann
leam do shaoradh[h].
33 Mur 'eil, éisd thusa riumsa: bi
d' thosd, agus teagaisgidh mise dhuit
gliocas.

CAIB. XXXIV.

A THUILLEADH air so fhreag-
air Elihu, agus thubhairt e,
2 Cluinnibh mo bhriathra, a *dhaoine*
glice, agus éisdibh rium, sibhse aig
am bheil eòlas.
3 Oir dearbhaidh a' chluas briathr-
an, agus blaisibh am beul biadh.
4 Roghnaicheamaid dhuinn féin
breitheanas: biodh fios againn ead-
aruinn féin ciod *an ni a ta* maith.
5 Oir thubhairt Iob, A ta mi ion-
raic, agus thug Dia air falbh mo
bhreitheanas.
6 Ann am bhreitheanas tha mi air
mo mhealladh[i]: *tha* mo lot do-leighis,
as eugmhais eusaontais.
7 Cia an duine *a ta* cosmhuil ri
Iob, *a* dh'òlas suas magadh mar uisge?
8 A dh'imicheas ann an cuideachd
luchd-dheanamh na h-euceirte, agus
a shiubhlas le droch dhaoinibh.
9 Oir thubhairt e, Cha 'n'eil tairbhe
ann do dhuine tlachd a ghabhail ann
an Dia.
10 Uime sin éisdibh rium, sibhse
a dhaoine tuigseach: Fada gu robh
aingidheachd o Dhia, agus euceart
o'n Uile-chumhachdach.
11 Oir gniomh duine ìocaidh e
dha, agus bheir e air gach duine gu
faigh e a réir a shlighe.
12 Seadh, gu cinnteach cha dean
Dia gu h-aingidh, agus cha chlaon
an t-Uile-chumhachdach breithean-
as.
13 Cò a chuir an talamh fuidh a
chùram? agus cò a shuidhich an
domhan uile?
14 Ma chuireas e a chridhe air i[j],
ma chruinnicheas e d'a ionnsuidh féin
a spiorad agus 'anail;
15 Bàsaichidh gach uile fheoil le
chéile, agus pillidh an duine a rìs do'n
duslach.
16 A nis ma *ta* tuigse *agad*, cluinn
so, éisd ri guth mo bhriathar.
17 An riaghail esan féin aig am
bheil

a *a rùn.* b *luach-saoraidh, fuasgladh.* c *bàigheil.* d *agus their e.*
e *Shaor e m'anam.* f *mo.* g *trì uairean.* Eabh. h *do ghlanadh.*
i *An deanainn breug an aghaidh mo cheirt?* j *air duine.*

bheil fuath do cheartas? agus an dìt thu eſan a's ro cheirte?

18 An abrar ri righ, *Tha thu* aingidh? ri daoinibh urramach [a], *Tha ſibh* aindiadhaidh?

19 *Ris-ſan* nach gabh ri gnùis uachdarana, agus nach meas an ſaibhir ni's mò na'm bochd? oir *is* iad uile oibre a làmh.

20 Gu h-obann gheibh iad bàs, agus mu mheadhon-oidhche cuirear an ſluagh fa bhuaireas [b], agus ſiubhlaidh iad: agus bheirear an cumhachdach air falbh gun làmh.

21 Oir *a ta* a ſhùilean air ſlighibh duine, agus chì e a cheumanna gu léir.

22 Cha *'n'eil* dorchadas na ſgàile bàis ann, far am folaich luchd-dheanamh na h-aingidheachd iad ſéin.

23 Oir cha leag e tuilleadh *ſa' chòir* air duine, chum gu'n rachadh e am breitheanas ri Dia.

24 Brisidh e sìos *daoine* cumhachdach gun àireamh, agus cuiridh e ſuas *daoine* eile nan àit.

25 Uime ſin is aithne dha an gnìomharan, agus tilgidh e bun os cionn *iad* ſan oidhche, agus ſgrioſar iad.

26 Mar dhroch dhaoinibh buailidh ſe iad ann an ſealladh ſoilleir dhaoine eile:

27 A chionn gu'n do thionndaidh iad air an ais uaith, agus nach d'thug iad fa'near aon air bith d'a ſhlighibh,

28 Air chor as gu'n d'thug iad air glaodh nam bochd teachd d'a ionnſuidh, agus gu'n cual e glaodh nan truaghan.

29 An uair a bheir eſan fois, cò a ni buaireas [c]? agus an uair a dh'fholaicheas e *a* ghnùis, cò a chì e? ma's ann a thaobh cinnich, no a thaobh duine a mhàin.

30 A chum nach rìoghaich duine a bhios na chealgair, air eagal gu'm biodh an ſluagh air an ribeadh.

31 Gu cinnteach ri Dia tha e iomchuidh r'a ràdh, Ghiùlain mi *ſmachdachadh*, cha chiontaich mi *ni's mò*.

32 *An ni* nach léir dhomh, teagaiſg thuſa dhomh: ma rinn mi aingidheachd, cha dean mi *ſin* ni's mò.

33 An ann a réir do thoil-ſa *bu chòir an ni a bhi?* dìolaidh ſe e, ma dhiùltas tuſa, oir is tu féin a roghnaicheas, agus cha mhiſe; uime ſin an ni a's aithne dhuit labhair.

34 Innſeadh daoine tuigſeach dhomh, agus éiſdeadh duine glic rium.

35 Labhair Iob gun eòlas, agus *bha* a bhriathran as eugmhais gliocais.

36 *Is e* mo mhiann Iob a bhi air a dhearbhadh chum na crìche, air ſon *a* fhreagraidhean le daoinibh aingidh.

37 Oir tha e a' cur ceannairce r'a pheacadh, a' bualadh a bhas 'nar meaſg, agus a' deanamh a bhriathra lìonmhor an aghaidh Dhé.

CAIB. XXXV.

FHREAGAIR Elihu a rìs, agus thubhairt e.

2 An ſaoil thuſa ſo a bhi ceart, *gu'n* dubhairt thu, *Tha* m'fhìreantachd-ſa os cionn *fìreantachd* Dhé?

3 Oir thubhairt thu, Ciod an tairbhe bhios ann dhuitſe? *agus*, Ciod a' bhuannachd a bhios ann domhſa, *ma ſhaorar mi* o m' pheacadh?

4 Freagairidh miſe thu, agus do chompanaich maille riut.

5 Amhairc air na nèamhaibh, agus feuch; agus faic na neoil *a's* airde na thu.

6 Ma pheacaicheas tu, ciod a ni thu na aghaidh-ſan? agus *ma* dh'fhàſas t'euſaontais lìonmhor, ciod a ni thu air-ſan?

7 Ma bhios tu ionraic, ciod a bheir thu dha-ſan? no ciod a gheibh e o d' làimh?

8 Feudaidh t-aingidheachd *cron a dheanamh* do dhuine mar a ta thuſa, agus t'fhìreantachd *a bhi tarbhach* do mhac an duine.

9 Glaodhaidh iadſan a tha air an sàrachadh le mòran, éighidh iad air ſon gairdein na mòr chuideachd [d].

10 Ach cha 'n abair aon neach, C'àit am bheil Dia mo Chruith-fhear,

a

a *uachdaranaibh, ard-uaiſlibh.* b *fo thrioblóid.* c *a chuireas tuairgne.* d *nan daoine mòra.*

a tha tabhairt dhàn seachad san oidhche?

11 A tha 'gar teagasg ni's mò na ainmhidhean na talmhainn, agus 'gar deanamh ni's glice na eunlaith nan speur.

12 An sin éighidh iad (ach cha fhreagair *neach air bith iad*) air son uabhair dhroch dhaoine.

13 Gu cinnteach cha 'n éisd Dia ri dìomhanas, agus cha bhi meas aig an Uile-chumhachdach air.

14 Ge do their thu nach faic thu e, tha breathanas na làthair; uime sin earb thusa as.

15 Ach a nis a chionn nach *'eil e mar sin*, dh'fhiosraich e na chorruich, gidheadh ni h-aithne dha *sin* ann an deuchainn[a] mhòir.

16 Uime sin fosglaidh Iob a bheul gu dìomhain: ni e briathra lìonmhor gun eòlas.

CAIB. XXXVI.

AGUS chaidh Elihu air aghaidh, agus thubhairt e,

2 Leig dhomh beagan, agus nochdaidh mi dhuit gu *bheil* fathast ni *agam* ri labhairt air son Dhé.

3 Tairngidh[b] mi m'eòlas o chéin, agus do m' Chruthadair bheir mi ceartas.

4 Oir gu cinnteach cha *bhi* mo bhriathra breugach: *tha* esan a ta iomlan ann an eòlas maille riut.

5 Feuch, *tha* Dia cumhachdach, agus cha dean e tàir; cumhachdach ann an neart, *le* gliocas.

6 Cha ghléidh e beo an t-aingidh, ach bheir e ceartas do na bochdaibh.

7 Cha tarruing e a shùilean o'n ionracan; ach *a ta iad* le righribh air an righ-chathair, agus daingnichidh e iad gu bràth, agus ardaichear iad.

8 Agus ma *bhios* iad ceangailte an geimhlibh, *ma* ghlacar iad ann an cordaibh àmhghair;

9 An sin nochdaidh e dhoibh an obair agus an eusaontais, gu'n robh iad anbarrach.

10 Agus fosgailidh e an cluas chum fòghluim, agus àithnidh e dhoibh pilltinn o euceart.

11 Ma dh'éisdeas iad *ris* agus ma ni iad seirbhis *da*, caithidh iad an laithean ann an saibhreas, agus am bliadhnan ann an subhachas.

12 Ach mur éisd[c] iad, cuirear as doibh leis a' chlaidheamh, agus gheibh iad bàs gun eòlas.

13 Ach carnaidh na cealgairean sa' chridhe suas fearg: cha 'n éigh iad an uair a cheanglas e iad.

14 Gheibh iad bàs nan òige, agus *tha* am beatha am measg nan neoghlan.

15 Saoraidh e am bochd na àmhghar; agus fosgailidh e an cluasan *nan* sàrachadh.

16 Eadhon mar sin dh'atharraicheadh e thusa a meadhon teanntachd *gu* àite farsaing, far nach *'eil* teanntachd air bith, agus *bhiodh* na chuirte air do bhord làn do shaill.

17 Ach choimhlion thu breitheanas an aingidh: gabhaidh breitheanas agus ceartas greim *dhiot*.

18 A chionn *gu bheil* fearg *riut*, tabhair an aire nach dthoir e air falbh thu le *a* bhuille: an sin cha saor éiric[d] mhòr thu.

19 Am meas e do shaibhreas? cha *mheas*, *no* òr, no uile neart cumhachd.

20 Na miannaich an oidhche 'nuair a ghearrar as sluagh nan àit.

21 Tabhair an aire nach claon thu gu euceart[e]; oir so ròghnaich thu thar àmhghar.

22 Feuch, ardaichidh Dia le a chumhachd: cò a theagaisgeas cosmhuil ris-san?

23 Cò a dh'fhiosraich[f] a shlighe? agus cò a dh'fheudas a ràdh, Rinn thu euceart?

24 Cuimhnich gu'n ardaich thu 'obair-san, a chi daoine.

25 Chi na h-uile dhaoine i: chi duine *i* o chéin.

26 Feuch, *tha* Dia mòr, agus cha'n aithne dhuine *e*, agus cha rannsaichear a mach àireamh a bhliadhnacha.

27 Oir

a *cionta.* b *Togaidh.* c *géill.* d *fuasgladh.* e *na tabhair spéis do euceart.* f *a dh'orduich.*

27 Oir ni e meanbh na braoin uiſge; taomaidh iad a nuas uiſge a réir a cheò,

28 A ſhileas na neoil; fraſaidh iad air an duine gu pailt.

29 A bhàrr air ſo an urrainn *neach air bith* ſgaoileadh nan neul a thuigſinn, *no* fuaim a phàilliuin?

30 Feuch, ſgaoilidh e a ſholus air, agus còmhdaichidh e ìochdar na fairge.

31 Oir leo ſin bheir e breth air an t-ſluagh, bheir e biadh ſeachad am pailteas.

32 Le a làmhaibh [a] còmhdaichidh e an ſolus, agus àithnidh e dha teachd a rìs.

33 Nochdaidh an fhuaim aige a thaobh ſin, an ſpréidh mar an ceudna a thaobh na théid ſuas [b].

CAIB. XXXVII.

MAR an ceudna uime ſo chriothnaich mo chridhe, agus charaicheadh as 'àit e.

2 Eiſdibh gu furachar ri fuaim a ghutha, agus an torman *a* théid a mach as a bheul.

3 Fuidh na nèamhaibh uile ſtiùbhraidh ſe e, agus a dhealanach gu crìochaibh na talmhainn.

4 Na dhéigh ſin beucaidh guth: ni e tairneanach [c] le guth a mhòralachd, agus cha chum e air an' ais iad an uair a chluinnear a ghuth.

5 Ni Dia tairneanach le a ghuth gu h-iongantach; ni e nithe mòra dothuigſinn.

6 Oir ris an t-ſneachda their e, Biſa air an talamh; mar an ceudna ris an uiſge mheanbh, agus ri uiſge mòr a neirt.

7 Air làimh gach duine cuiridh e ſeula, chum gu'n aithnich na h-uile dhaoine 'obair-ſan.

8 Agus théid na fiadh-bheathaiche ſteach d'an garaidh, agus nan àitibhtàimh luidhidh iad.

9 As an airde deas thig an iomaghaoth [d], agus fuachd as an airde tuath.

10 Le h-anail Dhé bheirear reodhadh, cumhaingichear leud nan uiſgeacha.

11 Mar an ceudna le h-uiſgeachadh ſgìthichidh e an neul tiugh: ſgaoilidh e a neul ſoillſeach.

12 Agus tionndaidhear mu'n cuairt e le a chomhairle; chum gu'n dean iad ge b'e ni a dh'àithneas e dhoibh air aghaidh a' chruinne-ché.

13 Bheir e air teachd, ma's ann a chum ſmachdachaidh, no air ſon 'fhearainn, no air ſon tròcaire:

14 Eiſd ri ſo, a Iob: ſeas, agus tabhair fa'near oibre iongantach Dhé.

15 Am bheil fios agad c'uin a dh'orduich Dia iad, agus a thug e air ſolus a neoil dealrachadh?

16 Am bheil fios agad air cothromachadh nan neul, *air* oibribh iongantach an ti a ta iomlan ann an eòlas?

17 Cionnas *a ta* t'eudach blàth, 'nuair a chiuinichear [e] an talamh leis a' ghaoith a deas?

18 An do ſgaoil thu mach maille ris-ſan na ſpeura, *a ta* làidir, mar ſgàthan leaghta?

19 Nochd dhuinn ciod a their ſinn ris: cha'n urrainn ſinn *ar cainnt* a chur an ordugh a thaobh dorchadais.

20 An innſear dha 'nuair a labhras mi? ma labhras duine, gu cinnteach ſluigear ſuas e.

21 Agus a nis cha'n fhaic *daoine* an ſolus dealrach a ta anns na neulaibh: ach ſiubhlaidh a' ghaoth, agus glanaidh ſi iad.

22 As an airde tuath thig ſoinionn [f]: aig Dia tha mòrachd uamhaſach.

23 An t-Uile-chumhachdach, cha'n urainn ſinn fhaghaill a mach: *tha e* òirdheirc ann an cumhachd, agus am breitheanas, agus an làn cheartas: cha sàraich e.

24 Uime ſin bithidh eagal air daoinibh roimhe: cha bhi meas aige air *duine* ſam bith *a bhios* glic an cridhe.

CAIB.

[a] *neulaibh.* [b] *a' cheò.* [c] *tairneinichidh*, no *tairnichidh e.* [d] *a' chuairt-ghaoth.* [e] *'nuair a ſhiothaichear e.* [f] *deadh aimſir; or.*

CAIB. XXXVIII.

AN sin fhreagair an Tighearn Iob as a' chuairt-ghaoith[a], agus thubhairt e,

2 Cò e so *a tha* dorchachadh comhairle le briathraibh gun eòlas?

3 Criosraich a nis mar fhear do leasraidh, agus feòraichidh mi dhìot, agus freagair thusa mi.

4 C'àit an robh thu 'nuair a leag mise bunaite na talmhainn? innis, ma ta tuigse agad.

5 Cò a shuidhich a thoimhsean, ma's aithne dhuit? no cò a shìn an snàithne-tomhais air?

6 Ciod air am bheil a bhunaitean air an daingneachadh, no cò a leag a chlach-oisinne;

7 'Nuair a sheinn reulta na maidne cuideachd, agus a rinn uile mhic Dhé gairdeachas?

8 No *cò* a dhruid a stigh an fhairge le dorsaibh, 'nuair a bhris i mach *mar* gu'n dthigeadh i as a' bhroinn;

9 An uair a rinn mi neul na thruscan d'i, agus tiugh dhorchadas na chrios-spaoilidh[b] d'i?

10 Agus a bhris mi suas d'i m'*àite* suidhichte, agus a rinn mi *dh'i* crannan agus dorsan;

11 Agus a thubhairt mi, Gu ruig so thig thu, ach cha dthig ni's faide, agus an so coisgear do thonna uaibhreacha?

12 O *thoiseach* do laithean an d'thug thu àithne do'n mhaduinn? an d'thug thu fios a h-àite do'n scarthanaich[c]?

13 A chum greim a ghabhail[d] do chrìochaibh na talmhainn, agus gu'n crathta na h-aingidh as.

14 Tionndaidhear e mar chriadh *ris* an t-seula, agus seasaidh iadsan mar eudach.

15 Agus cumar an solus o na h-aingidh, agus brisear an gairdean ard.

16 An deachaidh tu steach gu tobraichibh na fairge? no ann an rannsachadh an dubhaigein[e] an d'imich thu?

17 An d'fhosgladh geatachan a' bhàis duit? no 'm faca tu dorsa sgàile a' bhàis?

18 An d'thug thu fa'near leud na talmhainn? innis, ma's aithne dhuit e uile.

19 C'àit *am bheil* an t-slighe *anns* an còmhnuich an solus? agus an dorchadas, c'àit *am bheil* 'ionad-san?

20 Gu'n gabhadh tu e g'a chrìch, agus gu'm b'aithne dhuit na ceuman a dh'ionnsuidh a thighe?

21 An aithne dhuit *e*, a chionn gu'n d'rugadh tu an sin, no *gu bheil* àireamh do bhliadhnacha mòr?

22 An deachaidh tu steach gu ionmhasaibh an t-sneachdaidh? no'm faca tu ionmhasa na cloiche-meallain[f]?

23 A thaisg mise fa chomhair aimsire na teanntachd, fa chomhair latha a' chatha agus a' chogaidh.

24 Cia an rathad a dhealaichear an solus, *a* sgaoileas a' ghaoth an ear air an talamh?

25 Cò a roinn sruth-chlais air son na tuile, agus slighe air son dealanaich[g] na tairneanaich;

26 A thoirt air frasadh air an talamh *far* nach *'eil* duine; *air* an fhàsach gun duine ann;

27 A shàsachadh an fhàsaich agus an dìothreabh, agus a thoirt air cinneas[h] an lus mhaoth fàs suas?

28 Am bheil athair aig an uisge? no cò a ghin braoin an drùchda?

29 A broinn cò an d'thàinig an eigh[i]? agus liath-reodhadh nan speur, cò a ghin e?

30 Mar chloich tha na h-uisgeacha air an cruadhachadh[j], agus aghaidh na doimhne air reodhadh.

31 Am feud thusa cumhachda milse Phleiades[k] a cheangal, no ceanglaichean Orion[l] fhuasgladh?

32 An dthoir thu mach Madsarot na àm? no an stiuir thu Arcturus maille r'a mhacaibh?

a *ioma-ghaoith.* b *na chrios-pasgaidh.* c *chamhaoir.* d *gus an gabh thu greim.* e *na doimhne.* f *cloich-shneachdaidh.* g *thein-tich.* h *ùras.* i *deigh.* j *air am folachadh.* k *Chimah.* Eabh. l *Chesil.* Eabh.

33 An aithne dhuit reachda nan nèamh? an ſuidhich thu an uachdaranachd air an talamh?

34 An tog thu ſuas a dh'ionnſuidh nan neul do ghuth, air chor as gu'n còmhdaich pailteas uiſgeacha thu?

35 An cuir thu uait dealanaich, agus an dthéid iad, agus an abair iad riut, *Tha* ſinn an ſo?

36 Cò a chuir gliocas ſan taobh a ſtigh[a]? no cò a thug tuigſe do'n chridhe?

37 Cò a dh'àirmheas na neoil an gliocas? no cò a choiſgeas ſearraga nan nèamh;

38 'Nuair a dh'fhàſas an duſlach na mheall cruaidh, agus a dhlùthleanas na fòide ri chéile?

39 An ſealg thuſa cobhartach do'n leòmhan bhoirionn, agus an sàſaich thu ciocras[b] nan leòmhan òga;

40 'Nuair a chrùbas iad nan garaidh, a dh'fhanas iad ann an ſgàile chum feall-fheithearnh?

41 Cò a ſholaras do'n fhitheach a lòn? an uair a dh'éigheas an t-àl òg aige ri Dia, théid iad air iomroll[c] a chion bìdh.

CAIB. XXXIX.

AN aithne dhuitſe an t-àm anns am beir gabhair fhiadhaich na carraige? an dthoir thu fa'near c'uin a bheireas na h-eilde laoigh?

2 An urrainn thu na mìoſan àireamh *a* choimhlionas iad, agus an aithne dhuit an t-àm anns am beir iad?

3 Cromaidh ſiad iad fein, beiridh iad an àl, tilgidh iad dhiubh an dobròn.

4 Tha an àl an culaidh mhaith, tha iad a' fàs ſuas anns na cluainibh[d]; théid iad a mach, agus cha phill iad d'an ionnſuidh.

5 Cò a chuir a mach an t-aſal fiadhaich ſaor, agus cò a dh'fhuaſgail ceanglaiche an aſail fhiadhaich?

6 D'an d'rinn mi a thigh do'n fhàſach, agus 'àite-còmhnuidh do'n fhearann neo-thorach.

7 Ni e tarcuis air mòr ſhluagh a' bhaile: ri éigheach an fhir-ghreaſaidh cha 'n éiſd e.

8 Rannſaichidh e na ſléibhte chum ionaltraidh, agus ſiridh e 'n déigh gach *ni* uaine[e].

9 Am bi an t-aonadharcach[f] toileach air ſeirbhis a dheanamh dhuit? am fan e aig do phraſaich?

10 An ceangail thu an t-aonadharcach le 'chuing anns a' chlais? no'n cliath e na gleannta a'd' dhéigh?

11 An earb thu as, a chionn gur mòr a neart; no 'm fàg thu t'obair dha?

12 An creid thu e gu'n aiſig e[g] do ſhìol, agus gu'n cruinnich ſe *e do* d' urlar-bualaidh[h]?

13 *An tuſa thug* ſgiathan breagha do na peucagaibh[i]? no ſgiathan agus iteach[j] do'n ſtruth[k];

14 A dh'fhàgas a h-uibhean ſan talamh, agus a bhlàthaicheas iad ſan duſlach,

15 Agus a dhi-chuimhnicheas gu'm ſeud cos am bruthadh, no ſiadhbheathach na macharach am briſeadh?

16 Cruadhaichear i 'n aghaidh a h-àlaich, mar nach *bu* leatha iad: dìomhain *tha* a ſaothair gun eagal;

17 A chionn gu'n dhiùlt Dia dh'i gliocas, agus nach do roinn e tuigſe rithe.

18 Ge b'e uair a thogas ſi i féin an aird, ni i tàir air an each, agus air a mharcach.

19 An d'thug thuſa neart do'n each? an d'eudaich thu a mhuineal le tairneanaich?

20 An dean thu gealtach e mar an leumnach-uaine[l]? *is* uamhaſach glòir a chuinneine[m].

21 Bùraichidh[n] e le 'chois anns a' ghleann, agus ni e gairdeachas na neart: théid e air aghaidh an coinneamh an airm?

a *ſna h-airnibh.* b *miann; anam.* Eabh. c *ſeacharan.* d *le h-arbhar* e *glas.* f *an ſròn-adharcach, am bual bui.* g *gu'n tabhair e ſligh.* h *do d' ſhabhal.* i *renanim.* Eabh. j *cleiteach.* k *oſtrich.* l *ſionnan-feoir, dreolan teaſbhuidh.* m *a pholaircan.* n *Cladhaichidh.*

22 Ni e magadh air eagal, agus cha bhi uambann air, agus cha pàill e air ais o fhaobhar [a] a' chlaidheimh.

23 Ni 'm balg-ſaighid torman na aghaidh, an t-ſleagh loinreach agus an gath [b].

24 Le gairge agus feirg cladhaichidh [c] e 'n talamh; agus cha chreid e gur i fuaim na trompaide *a ta ann*.

25 Am meadhon *fuaim* na trompaide their e, Ha, ha; agus fad as gabhaidh e boladh a' chatha, tairneanaich nan ceannard, agus na h-iolaiche.

26 An ann le d' ghliocas-ſa a dh'itealaicheas an t-ſeabhag, a ſhìneas i a ſgiathan a làimh na h-airde deas?

27 An ann air t-àithne-ſa a dh'éireas an iolaire ſuas, agus a ni i a nead gu h-ard?

28 Gabhaidh i còmhnuidh anns a' charraig, agus fanaidh i air ſcor [d] na carraige, agus *anns* an daingneach.

29 As ſin iarraidh i cobhartach: chì a sùilean fad as.

30 Agus sùgaidh a h-àlach [e] ſuas fuil; agus far *am bi* na mairbh, an ſin *bithidh* iſe.

CAIB. XL.

A THUILLEADH air ſo fhreagair an Tighearn Iob, agus thubhairt e,

2 An teagaiſg eſan a ni ſtri ris an Uile-chumhachdach? eſan a thagras ri Dia, freagradh e air a ſhon.

3 Agus fhreagair Iob an Tighearn, agus thubhairt e,

4 Feuch, tha mi gràineil; ciod a fhreagras mi dhuit? cuiridh mi mo làmh air mo bheul.

5 Aon uair labhair mi, ach cha fhreagair mi; ſeadh, dà uair, ach cha 'n abair mi tuilleadh.

6 An ſin fhreagair an Tighearn Iob as a' chuairt-ghaoith, agus thubhairt e,

7 Crioſraich a nis mar dhuine do leaſraidh: feòraichidh mi dhiot, agus freagair thuſa mi [f].

8 An dthoir thuſa mo bhreitheanas-ſa gu neo-ni? an dìt thu miſe, chum gu ſaorar thu féin?

9 Am *bheil* gairdean agad coſmhuil ri Dia? no'n dean thu tairneanach le guth coſmhuil ris-ſan?

10 Sgeadaich thu féin a nis le mòrachd agus le h-òirdheirceas, agus eudaich thu féin le glòir agus maiſe.

11 Taom [g] a mach fraoch t'fheirge, agus faic gach neach a ta uaibhreach, agus irioſlaich e.

12 Faic gach neach a ta uaibhreach, ìſlich e, agus ſaltair sìos na droch dhaoine nan àit.

13 Folaich iad ſan duſlach le chéile, ceangail an aghaidhean an dìomhaireachd.

14 An ſin mar an ceudna aidichidh miſe dhuit, gu'n ſaor do dheas làmh féin thu.

15 Feuch a nis Behemot, a rinn miſe maille riut; ithidh e feur mar dhamh.

16 Feuch a nis, *tha* a neart na leaſraidh, agus a ſpionnadh ann an iomlaig a bhronn.

17 Gluaiſidh e 'earrball mar ſheudar: tha féithean-luthaidh a ſhléiſdean ceangailte r'a chéile.

18 *Tha* a chnàmha làidir *mar* umha; *tha* a chnàmha mar chrannaibh iaruinn.

19 *Is* e tùs ſhlighean Dhé e: an ti a chruthaich e, feudaidh eſan a chlaidheamh a thoirt am fagus *da*.

20 Gu cinnteach bheir na ſléibhte dha feur, far am bi uile bheathaiche na macharach ri sùgradh [h].

21 Fuidh na crannaibh dubharach luidhidh e, am folach na cuilce agus na làthaich.

22 Còmhdaichidh na cranna dubharach e *le*'n ſgàile: cuairtichidh ſeileach an t-ſruthain e.

23 Feuch, thig abhainn gu cruaidh air, agus cha dean e deiſir: bithidh dòchas aige 'nuair a thig Iordan

a *aghaidh*. Eabh. b *an ſgiath*. c *ſluigidh e ſuas*. d *fiacail*. Eabh. e *eoin-òga*. f *thoir thuſa fios domh*. g *Tilg*. h *mire, cluicheadh*.

dan a mach 'ga bheul [a].
24 Na ſhùilibh [b] an glac *duine* e?
le dubhanaibh [c] an toll e *a* ſhròn?

CAIB. XLI.

AN tarruing thu mach Lebhiatan
le dubhan, no a theanga le
cord *a* leigeas tu sìos?
2 An cuir thu cromag na ſhròin,
agus le deilg [d] an toll thu a ghial?
3 An dean e mòran aſlachaidh ort?
an labhair e *briathra* mìne riut?
4 An dean e coimhcheangal riut?
an gabh thu e mar ſheirbhiſeach gu
bràth?
5 An dean thu cluicheadh ris mar
ri h-eun? no'n ceangail thu e do d'
ghruagachaibh?
6 An dean na companaich cuirm
dheth? an roinn iad e am meaſg nan
ceannuiche?
7 An lìon thu le gathaibh a chroic-
ionn, no le mòr-ghathaibh éiſg a
cheann?
8 Cuir do làmh air, cuimhnich an
cath, na dean tuilleadh.
9 Feuch, is dìomhain a dhòchas-
ſan: eadhon aig a ſhealladh nach
tilgear *duine* sìos?
10 Nach borb e 'nuair a dhùiſgeas
neach e [e]? agus cò eſan a ſheaſas na
làthair [f]?
11 Cò a ghabh romham [g], agus
gu'n dìolainn? *gach ni a ta* fuidh na
nèamhaibh uile, *is* leamſa e.
12 Cha cheil mi a bhuill, no a neart,
no a dhealbh ſgiamhach.
13 Cò a dh'fhoillſicheas aghaidh
'eudaich? cò a thig d'a ionnſuidh le
'ſhrian dùbailte?
14 Cò a dh'fhoſgaileas dorſan 'agh-
aidh? *tha* 'fhiaclan uamhaſach mu'n
cuairt.
15 *Is iad a* lannan 'uaill, dùinte
ſuas le chéile *mar le* ſeula daingean;
16 Aon air a cur ri h-aon eile, air
chor as nach dthig deò eatorra.
17 Tha iad air an tàthadh ri chéi-
le, agus cha ghabh iad dealachadh.
18 Le a ſhitrich foillſichidh ſolus;
agus *tha* a ſhùilean coſmhuil ri roſg-
aibh na maidne.
19 As a bheul théid leuſa [h]; leum-
aidh ſrada teine a mach.
20 A cuinneanaibh a ſhròine thig
deatach a mach, mar *a* poit air ghoil
no coire.
21 Laſaidh 'anail gual, agus théid
laſair a mach as a bheul.
22 Na mhuineal còmhnuichidh
neart, agus roimhe ruithidh bròn [i].
23 Tha filleachan [j] 'fheòla a' lean-
tuinn ri chéile: *tha* iad daingean
ionnta féin; cha ghabh iad gluaſad.
24 *Tha* a chridhe cruaidh mar
chloich, cruaidh eadhon mar chloich-
mhuilinn ìochdraich.
25 An uair a thogas ſe e féin
ſuas, bithidh na cumhachdaich fa
gheilt: air eagal briſidh glanaidh ſiad
iad féin.
26 Cha ſeas claidheamh an tì a
bheanas ris; an t-ſleagh, an gath,
no'n lùireach [k].
27 Meaſaidh e mar chonlaich an
t-iarunn, mar fhiodh grod an t-umha.
28 Cha dthoir an t-ſaighead [l] air
teicheadh; nan conlaich tionndaidh-
ear leis clachan a' chroinn-tàbhuill.
29 Mar chonlaich meaſar gath-
an [m]; agus ni e gàire ri crathadh
ſleagha.
30 Fuidhe *tha* clacha geura: ſgaoil-
idh e *nithe* geura air an làthaich.
31 Bheir e air an doimhne bhi air
ghoil mar choire: an fhairge ni e
mar phoit ol'-ungaidh.
32 Na dhéigh bheir e air a ſhlighe
ſoillſeachadh: ſaoilidh *neach* an t-aig-
ean a bhi liath.
33 Air thalamh cha *'n'eil* a ſhamh-
uil, a rinneadh as eugmhais eagail.
34 Chì e gach *ni* ard: *tha* e na
righ os cionn uile chloinne an uabhair.

CAIB. XLII.

AN ſin fhreagair Iob an Tighearn,
agus thubhairt e,

2 Tha

a *òlaidh e ſuas abhainn, agus cha bhi cabhag air: is dòigh leis gu'n tar-
ruing e ſuas Iordan na bheul.* b *na ſhealladh.* c *ann an ribeachaibh.*
d *bior.* e *Cha 'n'eil neach ann cho-borb as gu'n dùiſg ſe e.* f *a'm'
làthair.* g *a chuidich leam.* h *lòchrain laſarra.* i *ni bròn gaird-
eachas, tionndaidhear bròn gu gairdeachas na làthair.* j *ſleantach.*
k *uchd-éididh.* l *mac a' bhogha.* Eabh. m *totach.* Eabh.

2 Tha fios agam gur urrainn thusa
gach *ni* a dheanamh, agus nach ceil-
ear smuaineadh air bith ort.
3 Cò esan a cheileas combairle gun
eòlas? uime sin chuir mi 'n ceill *nithe*
nach do thuig mi; *nithe* tuilleadh 's
iongantach air mo shon-sa, nach
b'aithne dhomh.
4 Eisd, guidheam ort, agus labh-
raidh mi: feòraichidh mi dhìot, agus
foillsich thusa dhomh.
5 Le éisdeachd na cluaise chuala
mi thu: ach a nis chunnaic mo shùil
thu.
6 Uime sin gabhaidh mi gràin dìom
féin, agus ni mi aithreachas ann an
duslach agus an luaith.
7 Ach an déigh do'n Tighearn na
briathra sin a labhairt ri Iob, thubh-
airt an Tighearn ri Eliphas an Te-
manach, Tha m'fhearg air a lasadh
a't' aghaidh-sa agus an aghaidh do
dhithis cairde, a chionn nach do labh-
air sibh a'm' thaobh-sa [a] an *ni a bha*
ceart, mar *a labhair* m'òglach Iob.
8 Agus uime sin gabhaibh dhuibh
féin seachd tairbh òga agus seachd
reitheacha, agus rachaibh a dh'ionn-
suidh m'òglaich Iob, agus ìobraibh
ìobairt-loisgte air bhur son féin, agus
ni m'òglach Iob ùrnuigh air bhur
son, oir ris-san [b] gabhaidh mi; chum
nach buin mi ribh *a réir bhur* n-am-
aideachd, a chionn nach do labhair
sibh a'm' thaobh-sa an *ni a bha* ceart,
mar *a labhair* m'òglach Iob.
9 Agus chaidh Eliphas an Teman-
ach, agus Bildad an Suhach, agus
Sophar an Naamatach, agus rinn iad
mar a dh'àithn an Tighearn dhoibh;
agus ghabh an Tighearn ri Iob.
10 Agus thionndaidh an Tighearn
braighdeanas Iob, an uair a rinn e
ùrnuigh air son a chairde: agus thug
an Tighearn do Iob a dhà uiread 'sa
bha aige roimhe.
11 Agus thàinig a bhràithrean uile
d'a ionnsuidh, agus a pheathraichean
uile, agus iadsan uile d'am b'aithne
e roimhe, agus dh'ith iad aran maille
ris na thigh: agus bha truas aca
dheth, agus thug iad comhfhurtachd
dha thaobh an uile uile a thug an
Tighearn air: agus thug iad dha gach
aon dhiubh bonn airgid, agus gach
aon diubh cluas-fhàinne òir.
12 Agus bheannaich an Tighearn
deireadh Iob ni's mò na a thoiseach;
agus bha aige ceithir mìle deug caora,
agus sè mìle càmhal, agus mìle cuing
dhamh, agus mìle asal bhoirionn.
13 Agus bha aige seachd mic, a-
gus triùr nighean.
14 Agus thug e Iemima mar ainm
air a' cheud *nighinn*, agus Cesiah mar
ainm air an dara, agus Ceren-hapuch
mar ainm air an treas *nighinn*.
15 Agus cha d'fhuaradh mnài
cho sgiamhach ri nigheanaibh Iob anns
an tìr uile, agus thug an athair
dhoibh oighreachd am measg am
bràithre.
16 Agus bha Iob beò na dhéigh
so ceud agus dà fhichead bliadhna;
agus chunnaic e a mhic, agus mic a
mhac, ceithir ginealaich.
17 Agus fhuair Iob bàs na sheann
duine, agus làn do laithibh.

a *umam-sa, a'm' làthair-sa.* b *r'a ghnùis-san.* Eabh.

LEABHAR

NAN

SALM.

SALM I.

IS beannuichte an duine ſin nach gluais ann an comhairle nan aingidh, agus nach ſeas ann an ſlighe nam peacach, agus nach ſuidh ann an cathir luchd ſanoid :

2 Ach aig *am bheil* tlachd ann an lagh[a] an Tighearna, agus a ſmuainicheas air a laghſan a là agus a dh'oidhche.

3 Bithidh e mar chraoibh ſuidhichte làimh ri ſruthaibh uiſge, a bheir a mach a toradh na h-aimſir, agus nach caill a duille : agus ſoirbhichidh leis gach ni a ni e.

4 Cha'n ann mar ſin *a bhios* na h-aingidh ; ach mar mholl a ſgapas a' ghaoth.

5 Air an aobhar ſin cha ſeas na h-aingidh ann am breitheanas, no peacaich ann an coimhthional nam firean.

6 Oir is aithne do'n Tighearna[b] ſlighe nam firean ; ach ſgrioſar ſlighe nan aingidh.

SALM II.

CARSON a ghabh na cinnich boile, agus a ſmuainich na ſlòigh ni dìomhain.

2 *C'ar ſon* a dh'éirich righre na talmhainn, agus a ghabh na h-uachdarain comhairle le chéile, an aghaidh an Tighearna, agus an aghaidh 'Aoin ungta-ſan, *ag ràdh*,

3 Briſeamaid o chéile an cuibhreach, agus tilgeamaid dhinn an cuing[c]?

4 An ti a ta na ſhuidhe air nèamh, ni e gàire ; ni an Tighearna fochaid orra.

5 An ſin labhraidh e riu na fheirg ; agus na chorruich cuiridh e uamhann orra.

6 Gidheadh dh'ung[d] miſe mo Righ air Sion, mo ſhliamh naomhaſa.

7 Cuiridh mi 'n céill ordugh an Tighearna : thubhairt e rium, *Is tu* mo mhacſa ; an diugh ghin mi thu.

8 Iarr orm, agus bheir mi dhuit na cinnich mar oighreachd, agus crìocha na talmhainn mar ſheilbh.

9 Briſidh 'tu iad le ſlait iaruinn ; mar ſhoitheach criadhadair, pronnaidh tu iad nam bloighdibh.

10 A nis ma ta, a righre, bithibh glic ; gabhaibh fòghlum, a bhreitheamhna na talmhainn.

11 Deanaibh ſeirbhis do'n Tighearna le h-eagal, agus deanaibh gairdeachas le ball-chrith.

12 Pògaibh am Mac[e], air eagal gu'm bi fearg air, agus gu ſgrioſar ſibh ſan t-ſlighe, 'nuair a laſas ach gu beag

a *reachd.* b *is taitneach leis an Tighearn.* c *an cuird.* d *ſhuidhich.* e *Thugaibh ùmhlachd do'n mhac.*

-heag a chorruich. *Is* beannuichte iadsan uile a dh'earbas as.

SALM III.

Salm le Daibhidh, 'nuair a theich e roimh Abſalom a mhac.

A THIGHEARN, nach lìonmhor a dh'fhàs mo naimhdean? *is* iomadh iad a tha 'géirigh a'm' aghaidh.

2 *Is* iomadh iad a their ri m'anam, nach '*eil* furtachd aige ann an Dia. Selah.

3 Ach *ata* thuſa, a Thighearn, a'd' ſgéith dhomhſa; mo ghlòir, agus fear-togalach mo chinn.

4 Le m' ghuth dh'éigh mi ris an Tighearn, agus dh'éiſd e rium as a ſhliabh naomha. Selah.

5 Luidh mi sìos, agus choidil mi: dhùiſg mi, oir chum an Tighearna ſuas mi.

6 Cha'n eagal leam deich mìle ſluagh, a chuir iad féin a'm' aghaidh air gach taobh.

7 Eirich, a Thighearn; ſaor mi, O mo Dhia: oir bhuail thu mo naimhdean uile air an gial; bhris thu fiacla nan aingidh.

8 *Is* leis an Tighearn an fhurtachd: air do ſhluagh *tha* do bheannachd. Selah.

SALM IV.

Do'n ard fhear-ciuil air Neginot. Salm le Daibhidh.

'NUAIR a dh'éigheas mi, éiſd rium, a Dhé m'ionracais; '*nuair a bha mi* ann an teinn, dh'fhuaſgail thu orm; dean tròcair orm, agus éiſd ri m'ùrnuigh.

2 A chlann nan daoine, cia fhad *a thionndaidhear ſibh* mo ghlòir chum nàire [a]? a ghràdhaicheas ſibh dìomhanas, a ſhireas ſibh an déigh bhreug? Selah.

3 Ach biodh fios agaibh gu'n do roghnuich an Tighearn an duine naomh dha féin: éiſdidh an Tighearn, an uair a dh'éigheas mi ris.

4 Biodh eagal oirbh, agus na peacaichibh: labhraibh r'ar cridhe air bhur leabaidh, agus bithibh toſdach. Selah.

5 Iobraibh ìobairtean ionracais, agus earbaibh as an Tighearn.

6 *Tha* mòran ag ràdh, Cò nochdas dhuinn *ni* maith? Tog oirnne ſolus do ghnùiſe, a Thighearna.

7 Chuir thu aoibhneas ann am chridhe, ni's mò na 'nuair is pailte an arbhar agus am fìon-ſan.

8 An sìth araon luidhidh mi, agus coidlidh mi; oir is tuſa mhàin, a Thighearn, a bheir orm còmhnuidh ghabhail gu tèaruinte.

SALM V.

Do'n ard fhear-ciuil air Nechilot. Salm le Daibhidh.

RE M' bhriathraibh éiſd, a Thighearn; beachdaich air mo ſmuaintibh.

2 Thoir an aire do ghuth mo ghlaoidh, mo Rìgh, agus mo Dhia; oir riutſa ni mi ùrnuigh.

3 A Thighearn, air maduinn cluinnidh tu mo ghuth; air maduinn deaſaichidh mi mi féin a'd' làthair [b], agus amhaircidh mi ſuas.

4 Oir cha Dia thuſa aig am bheil tlachd an aingidheachd, agus cha chòmhnuich an t-aingidh [c] maille riut.

5 Cha ſeas na h-amadain a'd' làthair: is fuath leat luchd-deanamh an uilc.

6 Sgrioſaidh tu luchd-labhairt bhreug: is gràin leis an Tighearn an duine fuileachdach agus cealgach.

7 Ach air mo ſhon-ſa, ann an lìonmhoireachd do thròcaire, thig mi ſteach do d' thigh; ſleuchdaidh mi aig do theampull naomha [d], ann ad eagal.

8 A Thighearn, treòruich mi ann ad fhìreantachd: air ſgàth mo naimhde, dean do ſhlighe dìreach romham:

9 Oir cha '*n 'eil* ceart [e] nam beul; *is* fìor aingidheachd an taobh a ſtigh dhiubh; *is* uaigh fhoſgailte an ſgornan; ni iad miodal le'n teangaidh.

10 Sgrios [f] iad, a Dhé; tuiteadh iad

a *cia fhad* a bhios *ſibh trom an cridhe? car ſon.* b *ſtiùraidh mi* m'ùrnuigh *a'd' ionnſuidh.* c *olc.* d *le m'aghaidh ri d' lùchairt naomha.* e *fìrinn.* f *Dìt.*

iad le'n comhairle fein: air son lìon-mhoireachd an euceartan tilg a mach iad; oir rinn iad ceannairc a'd' aghaidh.

11 Ach deanadh iadsan uile aoibhneas a chuireas an dòigh annad: gu bràth deanadh iad iolach, a chionn gu'n dion thu iad: agus deanadh iadsan luathghaire annad, leis an ionmhuinn t'ainm.

12 Oir beannuichidh tusa am fìrean, a Thighearna: le deadh-ghean cuairtichidh tu e, mar le sgéith.

SALM VI.

Do'n ard fhear-ciuil air Neginot air Seminit. Salm le Daibhidh.

A THIGHEARN, ann ad chorruich na cronuich mi, agus ann ad fheirg na smachdaich mi.

2 Gabh truas dìom, a Thighearn, oir *a ta* mi lag: slànuich mi, a Thighearn, oir a ta mo chnàmhan air an cràdh,

3 Agus a ta m'anam air a chràdh gu mòr: ach thusa, a Thighearn, cia fhad?

4 Pill, a Thighearna, fuasgail m'anam: saor mi, air sgàth do thròcaire.

5 Oir anns a' bhàs cha *'n'eil* cuimhne ort: anns an uaigh cò bheir dhuit cliu[a]?

6 Tha mi sgìth le m'osnaich; rè na h-oidhche tha mi cur mo leabaidh air snàmh; le m' dheuraibh uisgicheam m'uirigh.

7 Caithear le dubhachas mo shùil; fàsaidh i sean, air son m'eascairde gu léir.

8 Imichibh uam, sibhse uile a luchd deanamh na h-euceirt, oir chual an Tighearn guth mo chaoidh.

9 Chual an Tighearn m'athchuinge; gabhaidh an Tighearna ri m'ùrnuigh.

10 Cuirear gu nàire agus gu mòr amhluadh mo naimhde gu léir: pilleadh iad, cuirear gu h-obann gu nàire iad.

SALM VII.

Sigaion le Daibhidh, a sheinn e do'n Tighearna, thaobh bhriathar Chuis a' Bheniaminich.

A THIGHEARNA mo Dhia, annad cuiream mo dhòigh: saor mi uatha-san uile a tha'n tòir orm, agus teasairg mi:

2 Air eagal mar leòmhan gu'n reub e m'anam, '*ga* liodairt, gun neach a shaoras.

3 A Thighearna mo Dhia, ma rinn mi so; ma tha lochd a'm' làmhaibh;

4 Ma dh'ìoc mi olc do'n fhear a bha an sìth rium, no ma rinn mi foirneart air-san a bha na eascaraid domh gun aobhar[b].

5 Geur-leanadh an nàmhaid m'anam, agus glacadh se e, agus saltradh e mo bheatha gu làr, agus leagadh e mo chliu san duslach. Selah.

6 Eirich, a Thighearn, a'd' fheirg; tog suas thu féin air son corruich mo naimhdean, agus mosgail air mo shon chum na breth *a* dh'àithn thu.

7 An sin cuairtichidh coimhthional an t-sluaigh thu; air an sonsan uime sin pill gu h-ionad ard.

8 Bheir an Tighearna breth air an t-sluagh: thoir breth orm, a Thighearn, a réir m'fhìreantachd, agus a réir m'ionracais *a ta* annam.

9 Thigeadh crìoch air aingidheachd nan aingidh, ach daingnich thusa am fìrean: oir dearbhaidh tu na cridheachan agus na h-airnean, a Dhé chothromaich[c].

10 *Is* e Dia mo sgiath, a shaoras iadsan a tha ceart an cridhe.

11 *Is* breitheamh cothromach Dia, agus bithidh Dia am feirg *ris a' chiontach* gach là.

12 Mur pill e, geuraichidh e a chlaidheamh: chuir e a bhogha air lagh, agus dheasaich se e.

13 Agus dh'ulluich se air a shon innil bàis: dhealbh e a shaighdean an aghaidh luchd geur-leanmhuinn[e].

14 Feuch, tha e ri saothair le h-euceart,

a *buidheachas.* b *(seadh, theasairg mi an ti a bha na nàmhaid domh gun aobhar.)* c *oir dearbhaidh an Dia cothromach na cridheachan agus na h-airnean.* e *luchd tòrach, luchd dìobhargaidh.*

h-euceart, ghin e olc, agus rug *e* breug.

15 Dh'fhoſgail e ſlochd, agus chladhaich ſe e, agus thuit e féin anns a' chlais *a* rinn e.

16 Pillidh 'olc air a cheann féin, agus thig 'fhoirneart a nuas air a chloigionn féin.

17 Molaidh miſe an Tighearn a réir a cheartais; agus ſeinnidh mi cliu do ainm an Tighearna a's ro-airde.

SALM VIII.

Do'n ard fhear-ciuil air Gitit. Salm le Daibhidh.

O IEHOBHAH ar Tighearn, cia òirdheirc t'ainm air feadh na talmhainn uile? a ſhocraich do ghlòir os cionn nan nèamh.

2 A beul naoidhean agus chìoch-ran dh'orduich thu neart, air ſon do naimhde, chum gu coiſgeadh tu an nàmhaid agus an dioghaltach.

3 'Nuair a dh'àmhairceas mi air do nèamhaibh, obair do mheur; air a' ghealaich agus na reultaibh, a ſhuidhich [a] thu;

4 Cò e an duine gu'm biodh tuſa cuimhneachail air, agus mac an duine gu'm fioſraicheadh tu e?

5 Rinn thu e beagan ni b'ìſle na na h-aingil, agus chrùn thu e le glòir agus le h-urram.

6 Thug thu uachdaranachd dha air oibribh do làmh: chuir thu gach ni fa choſaibh;

7 Caoraich agus buar uile, agus mar an ceudna ainmhidhean na mach-arach;

8 Eunlaith nan ſpeur, agus iaſg na mara, a ſhiùbhlas air ſlighibh nan cuan.

9 O Iehobhah, ar Tighearn, cia oirdheirc t'ainm air feadh na tal-mhainn uile?

SALM IX.

Do'n ard fhear-ciuil air Mutlaben. Salm le Daibhidh.

MOLAIDH mi *thu*, a Thighearn, le m'uile chridhe; cuiridh mi'n ceill t'oibre iongantach gu léir.

2 Ni mi aoibhneas agus gairdeach-as annad; ſeinnidh mi cliu do t'ainm, O Thi a's airde.

3 'Nuair a philleas mo naimhdean air an ais, tuitidh iad agus théid as doibh a t'fhianuis:

4 Oir ſheas thu dhomh mo chòir agus mo chùis: ſhuidh thu air *do* righ-chaithir, a' toirt breth le ceartas.

5 Smachdaich thu na cinnich, ſgrios thu na h-aingidh; chuir thu as d'an ainm gu ſaoghal nan ſaoghal.

6 Chaidh crìoch air ſgrios an nàmh-aid am feaſd; leag thu sìos *am* bailte mòra: théid as d'an cuimhne maille riu féin.

7 Ach maraidh an Tighearna gu sìorruidh: dheaſaich e a righ-chaithir chum breitheanais.

8 Agus bheir eſan breth air an t-ſaoghal am fìreantachd, ni e breith-eanas do'n t-ſluagh an ceartas.

9 Agus bithidh an Tighearna na dhaingneach do'n ti a ſhàruichear, na dhaingneach ann an aimſiribh teannt-achd.

10 Agus cuiridh iadſan d'an aithne t'ainm an dòigh annad: oir cha tréig thuſa, a Thighearn, iadſan a dh'iarr-as thu.

11 Seinnibh cliu do'n Tighearn a chòmhnuicheas ann an Sion, aithriſ-ibh am meaſg nan cinneach a ghnìomh-ara.

12 'Nuair a ni e rannſachadh air fuil, cuimhnichidh e orra: cha di-chuimhnich e glaodh nam bochd.

13 Dean tròcair orm, a Thigh-earn: amhairc air m'àmhghar *a tha mi fulang* uatha-ſan le'm fuathach mi, O thuſa a tha ga m' thogail ſuas o gheataibh a' bhàis;

14 Chum gu foilliſich mi do chliu uile ann an geataibh nighinn Shioin: ni mi gairdeachas ann ad ſhlàinte.

15 Thuit na cinnich sìos anns an t-ſlochd a rinn iad: anns an lìon a dh'fholaich iad, chaidh an cos féin an sàs.

16 Aithnichear an Tighearna fa' bhreitheanas *a* rinn e: ann an gnìomh a làmh féin ribear an t-aingidh. Hi-gaion. Selah.

17 Cuirear

[a] *dh'orduich, dheaſaich.*

17 Cuirear na h-aingidh gu h-if-
rinn[a], na cinnich uile nach cuimhn-
ich Dia.
18 Oir cha di-chuimhnichear an
t-ainnis[b] gu bràth; cha dthéid as
do dhòchas nam bochd gu sìorruidh.
19 Eirich, a Thighearn, na buadh-
aicheadh duine; thugar breth air na
cinnich a't' fhianuis.
20 Cuir, a Thighearn, eagal orra;
chum gu'n aithnich na cinnich nach
'eil annta féin ach daoine. Selah.

SALM X.

C'AR ſon, a Thighearn, a ſheaſas
tu fad o làimh? a dh'fholaich-
eas tu thu féin ann an aimſiribh teannt-
achd?
2 Na uabhar geur-leanaidh an
t-aingidh am bochd[c]: glacar iad ſna
h-innleachdaibh a dhealbh iad.
3 Oir ni an t-aingidh ràiteachas a
miann a chridhe; agus molaidh e an
duine ſanntach, a's beag air Dia.
4 Ann an uabhar a ghnùiſe cha'n
iarr an t-aingidh *Dia*: cha *'n'eil* Dia
na uile ſmuaintibh.
5 Tha a ſhlighean doilgheaſach
anns gach àm; *tha* do bhreitheanais
ard as a shealladh: *thaobh* a naimhd-
ean uile, ni e tarcuis orra[d].
6 Thubhairt e na chridhe, Cha
ghluaiſear mi, gu bràth cha *bhi* mi
ann an àmhghar.
7 Tha a bheul làn do mhallachadh,
agus do chéilg, agus do mhealltair-
eachd: fo 'theangaidh *tha* donas agus
dìomhanas.
8 Suidhidh e ann an ionadaibh-
folaich nam bailte beaga: ann an
àitibh dìomhair mortaidh e an neo-
chiontach: tha a ſhùilean ann an
uaiguidheas a' dearcadh air a' bhochd.
9 Ni e feall-fholach gu dìomhair,
mar leòmhan na gharaidh: ni e
feall fholach chum gu'n glac e an
duine bochd: glacaidh e an duine
bochd, 'ga tharruing na lìon.
10 Crùbaidh e, cromaidh e sìos,
agus tuitidh am bochd le *'dhaoinibh*
làidir[e].
11 Thubhairt e na chridhe, Dhi-
chuimhnich Dia; dh'fholaich e a
ghnùis, cha léir dha ſud am feaſd.
12 Eirich, a Thighearna Dhé, tog
ſuas do làmh: na di-chuimhnich na
daoine bochda[f].
13 C'ar ſon a rinn an t-aingidh
tàir air Dia? a thubhairt e na chridhe,
Cha'n iarr thu *e*?
14 Chunnaic thu *e*; oir is léir
dhuit donas agus mìorun, chum *a*
dìoladh le d' làimh: ortſa fàgaidh an
duine bochd e féin; is tu fear-cuid-
eachaidh an dilleachdain.
15 Bris thuſa gairdean an aingidh,
agus an droch dhuine; rannſaich a
mach 'aingidheachd gus nach faigh
thu *i*.
16 *Tha'n* Tighearna na Righ gu
ſaoghal nan ſaoghal: ſgrioſadh[g] na
cinnich a mach as a thìr.
17 A Thighearna, chuala tu miann
nan daoine bochd[h]: deaſaichidh tu
an cridhe; bheir thu air do chluais
éiſdeachd:
18 A chumail ceirt ris an dilleach-
dan agus ris an truaghan, chum nach
dean duine o'n ùir foirneart ni's mò.

SALM XI.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm le
Daibhidh.

AS an Tighearn earbam: c'ar ſon
a their ſibh ri m'anam, Teich
as mar eun, gu d' ſhliabh[i]?
2 Oir feuch, chuir na h-aingidh
bogha air lagh; ghleus iad an saigh-
ead air freing, chum tilgeadh san
dorcha orra-ſan a ta ceart nan cridhe.
3 Ma ſgrioſar na bunaitean, ciod
a ni am firean?
4 *Tha'n* Tighearna na theampull
naomh; *tha* righ-chaithir an Tigh-
earna anns na nèamhaibh: chi a ſhùil-
ean, rannſaichidh[j] a roſgan clann
nan daoine.
5 Rannſaichidh an Tighearna am
firean; ach an t-aingidh, agus eſan a
thug ſpéis do fhoirneart, is fuath le
'anam.
6 Fraſaidh e air na h-aingidh rib-
eachan,

a *Pillear na h-aingidh do'n uaigh.* b *an t-uireaſbhuidheach.* c *an truaghan.* d *ſéididh e orra.* e *na* ionadaibh *laidir.* f *truagh, irioſal.* g *ſgrioſar.* h *truagh, irioſal.* i *Teich as do na beanntaibh, mar eun.* j *dearbhaidh.*

eachan [a], teine agus pronnusc, agus doinionnuamhasach, mar chuibhrionn an cupain.

7 Oir is ionmhuinn leis an Tighearna cheart ceartas: amhaircidh a ghnùis air an duine ionraic.

SALM XII.

Do'n ard fhear-ciuil air Seminit. Salm le Daibhidh.

CUIDICH *leam*, a Thighearn, oir cha 'n'eil duine diadhuidh ann; oir theirig [b] na h-ionraic o mheasg chloinn nan daoine.

2 Labhraidh iad dìomhanas [c] gach neach r'a choimhearsnach: *le* bilibh miodalach, le cridhe dùbailte [d] labhraidh iad.

3 Sgathaidh an Tighearna na bilean miodalach uile, an teanga a labhras *nithe* mòra;

4 Iadsan a thubhairt, Le'r teangaidh buaidhichidh sinn; *is* leinn féin ar bilean: cò *a ta* na thighearn os ar cionn?

5 Air son foirneirt nam bochd, air son osnaich nan ainnis [e], a nis éiridh mi, ars' an Tighearn: cuiridh mi *e* ann an tèaruinteachd *uaithesan* a bhagras na aghaidh [f].

6 *Is* briathra fior-ghlan, briathran an Tighearna; *mar* airgiod air a dhearbhadh ann an amhuinn-chreadha, air a ghlanadh seachd uairean.

7 Gleidhidh tusa sinn [g], a Thighearn; dìonaidh tu sinn [h] o'n ghinealach so gu bràth.

8 Gluaisidh na h-aingidh air gach taobh, 'nuair a dh'arduichear iadsan a's suaraiche do chloinn nan daoine.

SALM XIII.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm le Daibhidh.

CIA fhad, a Thighearn, a dhichuimhnicheas tu mi? an ann gu bràth? Cia fhad a dh'fholaicheas tu do ghnùis uam?

2 Cia fhad a ghabhas mi comhairle ann am anam, bròn ann am chridhe gach là? Cia fhad a dh'arduichear mo nàmhaid os mo chionn?

3 Amhairc orm, éisd rium, a Thighearna mo Dhia: soillsich mo shùilean, air eagal gu'n coidil mi chum bàis [i]:

4 Air eagal gu'n abair mo nàmhaid, Bhuadhaich mi na aghaidh; gu'n dean m'eascairdean gairdeachas an uair a dh'aomar mi.

5 Ach dh'earb mise as do thròcair; ni mo chridhe gairdeachas ann ad shlàinte.

6 Seinnidh mi do'n Tighearn, a chionn gu'n do bhuin e rium gu fial: [agus seinnidh mi cliu do ainm an Tighearna a's ro-airde.]

SALM XIV.

Do'n ard fhear-ciuil. *Salm* le Daibhidh.

THUBHAIRT an t-amadan na chridhe, Cha *'n'eil* Dia ann. Tha iad truaillidh; rinn iad oibre gràineil; cha *'n'eil* neach ann a ni maith.

2 Dh'amhairc an Tighearn a nuas o nèamh air cloinn nan daoine, a dh'fheuchainn an robh neach ann a bha glic, a bha 'g iarraidh Dhé.

3 Chlaon iad uile, tha iad gu léir air fàs salach: cha *'n'eil* neach ann a ni maith, cha *'n'eil* eadhon aon.

4 Nach 'eil eòlas aca-san uile a tha deanamh na h-eucorach, a tha 'g itheadh suas mo shluaigh, *mar* a dh'itheadh iad aran, *agus* nach gairm air an Tighearn?

5 An sin ghabh iad eagal mòr, a chionn gu *bheil* Dia ann an ginealach nam sìrean.

6 Nàirich iad [j] comhairle an duine bhochd, a chionn gur e'n Tighearn a thearmunn.

7 O gu ìthigeadh slàinte Israeil a mach a Sion! An uair a bheir an Tighearn air ais braighdeanas [k] a shluaigh, ni Iacob gairdeachas, ni Israel aoibhneas.

a *eibhlean.* b *dh'fhàilnich.* c *breug.* d *le cridhe dà-fhillte; cridhe agus cridhe.* Eabh. e *air son glaoidh nam feumach.* f *le'm b'àill a ribeadh.* g *iad.* h *e, iad.* i *gu'n coidil mi* codal *a' bhàis.* j *sibh.* k *braighdean.*

SALM XV.

Salm le Daibhidh.

A THIGHEARN, cò dh'fhanas ann ad phàilliun? cò chòmhnuicheas air do ſhliabh naomha?

2 Eſan a ghluaiſeas gu h-ionraic, agus a ni ceartas, agus a labhras an fhìrinn na chridhe;

3 Nach dean cùl-chàineadh le 'theangaidh, nach dean olc d'a charaid [a], agus nach tog droch ſgeul air a choimhearſnach;

4 Leis an ſuarach an droch dhuine [b], ach a bheir urram dhoibhſan air am bi eagal an Tighearna; a mhionnuicheas chum a challdaich féin [c], agus nach caochail;

5 Nach cuir 'airgiod a mach air ocar [d], agus nach gabh duais an aghaidh an neo-chiontaich. Eſan a ni *na nithe* ſin, cha ghluaiſear gu bràth e.

SALM XVI.

Michtam le Daibhidh.

GLEIDH mi, a Dhé, oir chuir mi mo dhòigh annad.

2 Thubhairt mi [e] ri Iehobhah, *Is* tu mo Thighearn: cha *ruig* mo mhaitheas ortſa.

3 A thaobh nan naomh [f] a *ta* air talamh, agus nam flath; *tha* mo thlachd uile annta.

4 Meudaichear an doilgheasan dhoibhſan *a* ni deifir [g] an déigh *dhé* eile: cha 'n ìobair mi an ìobairteandibhe do fhuil, agus cha luadh mi air an ainmibh le m' bhilibh [h].

5 *Is* e an Tighearna cuibhrionn m'oighreachd agus mo chupain: is tuſa a chumas ſuas mo chrannchur.

6 Thuit mo roinn [i] dhomhſa ann an *ionadaibh* aoibhneach; ſeadh, *tha* oighreachd thaitneach agam.

7 Beannuichidh miſe an Tighearn, a thug comhairle orm: tha m'airne mar an ceudna 'gam theagaſg an àm na h-oidhche.

8 Chuir mi an Tighearna romham a ghnàth: a chionn gu *bheil e* air mo dheas làimh, cha ghluaiſear mi.

9 Uime ſin ni mo chridhe aoibhneas, agus ni mo ghlòir gàirdeachas: gabhaidh m'fheoil mar an ceudna fois ann an dòchas.

10 Oir cha'n fhàg thu m'anam [j] anns an uaigh; cha leig thu le t'aon naomha truaillidheachd fhaicinn.

11 Feuchaidh tu dhomh ſlighe na beatha: *tha* lànachd aoibhneis a'd' làthair-ſa: *tha* mòr ſhubhachas aig do dheas làimh gu sìorruidh.

SALM XVII.

Urnuigh le Daibhidh.

EISD ri ceartas, a Thighearn, tabhair aire do m' ghlaodh; cluinn m'urnuigh, *a thig a mach* cha'n ann o bhilibh cealgach.

2 O t'fhianuis thigeadh mo bhreth: faiceadh do ſhùilean nithe cothromach.

3 Dhearbh thu mo chridhe, dh'fhiosraich thu *mi* ſan oidhche; rannſuich thu mi, cha d'fhuair thu *a'bheag:* is e mo rùn nach ciontaich mo bheul.

4 A thaobh ghnìomhara dhaoine, le focal do bhilean ſheachainn mi ceumanna [k] a' mhillteir.

5 Cum ſuas mo cheumanna aſin ad ſhlighibh, chum nach ſleamhnuich mo choſan.

6 Ghairm mi ort, oir éiſdidh tu rium, a Dhé; aom do chluas a m' ionnſuidh, cluinn mo chainnt.

7 Taiſbein do chaoimhneas iongantach, O thuſa a ſhaoras le d' dheas làimh iadſan a dh'earbas aſad, uathaſan a dh'éireas ſuas *nan aghaidh.*

8 Gléidh mi mar chloich na sùla, fuidh ſgàile do ſgiathan foluich mi.

9 O ghnùis nan droch dhaoine a tha ri foirneart orm, naimhdean m'anama *a* tha ga m' chuartachadh air gach taobh.

10 Nan faill tha iad air an druideadh ſuas; le'm beul labhraidh iad gu h-uaibhreach.

11 'Nar ceum a nis chuairtich iad ſinn: ſhuidhich iad an sùilean, a' cromadh

a *chompanach, choimhearſnach.* b *Na ſhùilibh am bi an droch dhuine tàireil.* Eabh. c *a mhionnuicheas d'a charaid.* d *an-riadh.* e *Thubhairt thu,* O m'anam. f Ach *air na naoimh.* g *cabhag.* h *cha ghabh mi an ainmean air mo bhilibh.* i *na crìocha; na freanga-tomhais.* Eabh. j *mo phearſa, miſe.* k *thug mi fa'near ceumanna.*

cromadh sìos gu làr.
12 Coimhuil ri leòmhan *a* tha gion-
ach chum cobhartaich, agus ri leòmh-
an òg a' feitheamh ann an ionadaibh
dìomhair.
13 Eirich, a Thighearn, cuir
roimhe, leag sìos e, ſaor m'anam o'n
aingidh le d' chlaidheamh [a].
14 O dhaoinibh le d' làimh, a
Thighearn, o dhaoinibh an t-ſaogh-
ail, *d'am bheil* an cuibhrionn ſa'
bheatha *ſo*, agus d'an do lìon thu am
brù le t'*ionmhas* foluichte : sàſuichear
an clann [b], agus fàgaidh iad am
fuigheall d'an naoidheanaibh.
15 Air mo ſhon-ſa, ann am firean-
tachd chi mi do ghnùis : sàſuichear
mi, 'nuair a dhùiſgeas mi, le d' cho-
ſamhlachd.

SALM XVIII.

Do'n ard fhear-ciuil [Salm] le
Daibhidh, òglach an Tighearna,
a labhair ris an Tighearna briath-
ra na laoidh ſo, ſan là air an do
ſhaor an Tighearn e as làimh a
naimhdean uile, agus as làimh
Shauil, agus an dubhairt e :
GRADHAICHIDH mi thu, a
Thighearn, mo neart.
2 *Is* e an Tighearna mo charruig,
agus mo dhaingneach, agus m'fhear-
ſaoraidh : mo Dhia, mo chreag [c] anns
an cuiream mo dhòchas, mo ſgiath,
agus adharc mo ſhlainte, mo thùr
ard.
3 Gairmidh mi air an Tighearn
a's airidh air cliu, agus o m' naimhd-
ibh ſaorar mi.
4 Chuairtich piantan a' bhàis [d] mi,
agus chuir tuilte dhroch dhaoine eag-
al orm.
5 Chuairtich piantan ifrinn [e] mi ;
ghabh lìontan a' bhàis romham.
6 A'm' éigin ghairm mi air an
Tighearn, agus ri m' Dhia ghlaodh
mi : chual e as a theampull mo ghuth,
agus thàinig mo ghlaodh na làthair
d'a chluaſaibh.

7 An ſin chrathadh agus chrioth-
nuich an talamh, agus ghluaiſeadh
bunaitean nam beann agus chrathadh
iad, a chionn gu'n robh corruich air.
8 Chaidh deatach ſuas as a ſhròin [f],
agus dhian-loiſg [g] teine as a bheul,
laſadh eibhlean leis.
9 Agus lùb e na nèamhan, agus
thuirling e nuas : agus *bha* dorchadas
fuidh a choſaibh.
10 Agus mharcaich e air cherub,
agus chaidh e air iteig : agus dh'it-
ealaich e air ſgiathaibh na gaoith.
11 Chuir e dorchadas mar ionad
dìomhair mu'n cuairt air : *bu* phaill-
liun da, duibhre uiſgeacha, neoil nan
ſpeur [h].
12 O'n dealradh a bha fa chomh-
air chaidh a neoil thairis ; clacha-
meallain agus eibhle teine [i].
13 Agus rinn an Tighearna tair-
neanach ſna ſpeuraibh, agus chuir an
Ti a's airde a mach a ghuth [j].
14 Agus chuir e mach a ſhaighd-
ean, agus ſgap e iad ; agus thilg e
mòran tein'-athair, agus chlaoidh e
iad.
15 Agus chunncas aigein nan uiſ-
ge [k], agus nochdadh bunaitean an
domhain, le d' achmhaſanſa, a Thigh-
earn, le ſéideadh anaile [l] t'fheirge [m].
16 Chuir e nuas o'n airde, ghlac
e mi, tharruing e mi a h-uiſgibh lìon-
mhor [n].
17 Shaor e mi o m' nàmhaid làidir,
agus uatha-ſan a dh'fhuathaich mi ;
oir bu treiſe iad na miſe.
18 Ghabh iad romham ann an
latha m'àmhghair : ach bha'n Tigh-
earna na chùl-taice dhomh.
19 Agus thug e mach mi gu ionad
farſaing : ſhaor e mi, a chionn gu'n
do ghabh e tlachd annam.
20 Thug an Tighearna luigheachd
dhomh a réir m'ionracais : a réir
gloine mo làmh dhìol e dhomh.
21 Oir ghléidh mi ſlighean an
Tighearna, agus cha do chlaon mi gu
h-aingidh o m' Dhia.

a *a tha na chlaidheamh dhuit.* b *tha iad làn cloinne.* c *mo neart, mo dhìdean.* d *tonnan a' bhàis.* II. Sam. Caib. XXII. r. 5. e *na h-uaighe.* f *na fheirg.* g *chnàmh, chaith, ſgrios.* h *ann an neul-aibh tiugh nan ſpeur.* i *laſadh eibhlean teine.* II. Sam. Caib. XXII. r. 13. j *a ghuth*, le *clochaibh meallain agus eibhlibh teine.* k *na fairge.* l *analach.* m *do ſhròine.* n *mòra.*

22 Oir *bha* a bhreitheanais uile a'm' fhianuis; agus a reachdan cha do chuir mi uam.

23 Agus bha mi ionraic na fhianuis, agus ghléidh mi mi féin o m' aingidheachd.

24 Uime ſin dhìol an Tighearna dhomh a réir m'ionracais, a réir gloine mo làmh ann an ſealladh a ſhùl.

25 Do'n duine thròcaireach nochdaidh tu thu féin tròcaireach; do'n duine ionraic nochdaidh tu thu féin ionraic.

26 Do'n duine ghlan nochdaidh tu thu féin glan, agus do'n duine reaſgach [a] nochdaidh tu thu féin reaſgach.

27 Oir ſaoraidh tu an ſluagh a ta fa àmhghar; ach na sùilean arda bheir thu nuas.

28 Oir laſaidh tuſa mo lòchran, a Thighearn: ſoillſichidh mo Dhia mo dhorchadas.

29 Oir leatſa ruith [b] mi troimh bhuidhinn, agus le m' Dhia leum mi thar balladh.

30 *A thaobh* Dhé, *tha* a ſhlighe iomlan: *tha* focal an Tighearna air a dhearbhadh: *is* ſgiath e dhoibhſan uile a chuireas an dòchas ann [c].

31 Oir cò *a's* Dia ann ach an Tighearn? agus cò *a's* carraig ann ach ar Dia-ne?

32 *Is* e Dia a tha 'gam chrioſlachadh le neart, agus a' deanamh mo ſhlighe iomlan.

33 *Tha* e deanamh mo chos mar *choſaibh* eilde, agus gam' ſhocrachadh air m'àitibh arda.

34 Tha e 'g ionnſachadh mo làmh gu cath, air chor as gu'm briſear bogha umha [d] le m' ghairdeinibh.

35 Agus thug thu dhomh ſgiath do ſhlàinte: agus chum do cheas làmh ſuas mi, agus rinn do chaoimhneas mòr mi.

36 Rinn thu mo cheuma farſaing fodham, air chor as nach do ſhleamhnuich mo choſa.

37 Lean mi mo naimhdean, agus rug mi orra; agus cha do phill mi air m'ais gus an do chuir mi as doibh.

38 Lot mi iad, agus cha bhi e 'n comas doibh éirigh: thuit iad fo m' choſaibh.

39 Oir chrioſlaich thu mi le neart chum catha: leag thu sìos fodham iadſan a dh'éirich ſuas a'm' aghaidh.

40 Agus thug thu dhomh mo naimhdean air mhuineal; iadſan a dh'fhuathaich mi, agus ghearr mi as iad.

41 Ghlaodh iad, ach cha *robh* fear-ſaoraidh ann; *eadhon* air an Tighearn, ach cha do fhreagair e iad.

42 An ſin mhìn-phronn mi iad mar dhuſlach [e] fa chomhair na gaoithe: mar chlàbar nan ſraid bhrùth mi iad [f].

43 Shaor thu mi o chomh-ſtri an t-ſluaigh; rinn thu mi a'm' cheann air na cinnich: ni ſluagh nach b'aithne dhomh, ſeirbhis dhomh.

44 Co luath 'ſa chluinneas iad, géillidh iad dhomh: ſtrìochdaidh coigrich dhomh [g].

45 Seargaidh coigrich as, agus bithidh eagal orra mach [h] as an àitibh daingne.

46 Is beo an Tighearn, agus gu ma beannuichte mo charraig-ſe! agus air 'ardachadh gu robh Dia mo ſhlàinte!

47 *Is* e Dia a ni dioghaltas air mo ſhon, agus a chuireas an ſluagh fodham;

48 A ſhaoras mi om' naimhdibh. Seadh, os an cionn-ſan a dh'éireas ſuas a'm' aghaidh togaidh tuſa ſuas mi: o fhear an ainneart ſaoraidh tu mi.

49 Uime ſin cliùthaichidh mi thu, a Thighearn, am meaſg nan cinneach, agus ſeinnidh mi do t'ainm.

50 Bheir eſan ſaorſa mòr d'a rìgh, agus nochdaidh e tròcair d'a aon ungta féin, do Dhaibhidh agus d'a ſhliochd gu bràth.

SALM XIX.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm le Daibhidh.

CUIRIDH na nèamha an céill glòir Dhé, agus nochdaidh na ſpeura gnìomh a làmh.

2 Tha

a *dhoirbh, ſhiata.* b *bhris.* c *dh'eathbas as.* d *ſtàilinn, cruadhach.* e *luaithre.* f *thilg mi mach iad.* g *ni coigrich breug dhomh.* Eabh. h *thig iad a mach le h-eagal.*

2 Tha là a' deanamh ſgéil do là,
agus oidhche a' foillſeachadh eòlais a
dh'oidhche.
3 Cha *'n'eil* cainnt, cha *'n'eil*
briathra, *anns* nach cluinnear an
guth.
4 Air feadh na talmhainn uile
chaidh am fuaim [a] a mach, agus am
focail gu h-iomall an domhain.
5 Do'n ghréin chuir e pàilliun
annta; agus *tha* i mar nuadh fhear-
pòsda a' teachd a mach a 'ſheòmar;
ni i gairdeachas mar ghaiſgeach a
ruith na ſlighe [b].
6 *Tha* a dol a mach o chrìch nan
ſpeur, agus a cuairt gu ruig an crìoch-
aibh; agus cha *'n'eil* ni air bith a
dh'fholaichear o a teas.
7 *Is* iomlan lagh an Tighearna,
ag iompochadh an anama; *tha* fia-
nuis [c] an Tighearna cinnteach, a'
deanamh a' bhaoghalta [d] glic.
8 *Tha* reachdan an Tighearna
ceart, a' deanamh a' chridhe aoibh-
neach; *tha* àithne an Tighearna glan,
a' foillſeachadh nan sùl.
9 *Tha* eagal an Tighearna fior-
ghlan, a' maireachduinn am feaſd;
is firinn breitheanais an Tighearna;
tha iad gu h-iomlan cothromach.
10 Ni's mò r'an iarruidh *tha* iad
na'n t-òr, ſeadh, na mòran do'n òr
fhior-ghlan; agus ni's milſe na a'
mhil, ſeadh, na *mèil* a ſhileas as na
cìribh meala.
11 Os bàrr, tha do ſheirbhiſeach
a' faotainn [e] rabhaidh uatha: nan
coimhead *tha* mòr dhuais.
12 Cò thuigeas *a* ſheacharain? o
lochdaibh dìomhair glan thuſa mi.
13 Mar an ceudna o *pheacaibh*
dànadais cum air ais t'òglach; na
bitheadh ard-cheannas [f] aca orm: an ſin
bithidh mi ionraic, agus bithidh mi
neo-chiontach o euſ aontas [g] mòr.
14 Bitheadh briathra mo bheoil,
agus ſmuainte mo chridhe, taitneach
a'd' làthair, a Thighearna, mo char-
raig [h], agus m'fhear-ſaoraidh.

SALM XX.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm le
Daibhidh.

GU'N éiſdeadh an Tighearna riut
ann an latha teanntachd? gu
cumadh ainm Dhé Iacoib ſuas thu!
2 Gu cuireadh e cabhair thugad [i]
as 'ionad naomha! agus a Sion gu
neartaicheadh e thu!
3 Gu cuimhnicheadh e do thabh-
artaſan uile, agus gu'n gabhadh e gu
taitneach uait t'iobairt-loiſgte! Se-
lah.
4 Gu dthugadh e dhuit a réir do
chridhe féin, agus gu coimhlionadh
e do chomhairle uile!
5 Ni ſinne aoibhneas ann ad
ſhlàinte, agus ann an ainm ar Dé ne
togaidh ſinn ſuas ar bratach. Gu
coimhlionadh Dia t'iarrtuis uile!
6 A nis tha fios agam gu'n ſaor an
Tighearn 'aon ungta féin: éiſdidh e
ris o nèamhaibh a naomhachd, le
neart-ſaoraidh a dheas laimh.
7 Earbaidh cuid a carbadaibh, a-
gus cuid a h-eachaibh; ach cuimhn-
ichidh ſinne ainm an Tighearna ar
Dé.
8 Dh'iſlicheadh iadſan, agus thuit
iad; ach dh'éirich ſinne, agus ſheas
ſinn.
9 Saor an righ, a Thighearn; a-
gus éiſd ruinn ſan là a ghairmeas
ſinn [j].

SALM XXI.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm le
Daibhidh.

ANN ad neart, a Thighearn, ni
an righ aoibhneas: agus ann
ad ſhlàinte cia mòr an gairdeachas a
ni e?
2 Miann a chridhe thug thu dha;
agus athchuinge a bhilean cha do
dhiùlt thu dha. Selah.
3 Oir ghabh thu roimhe le bean-
nachadh *do* mhaitheis; chuir thu
m'a cheann coron do òr fior-ghlan.
4 Dh'iarr e beatha ort: thug thu
dha

a *an crìoch.* Faic. Rom. Caib. X. r. 18. b *coimhlionga, réiſe.*
c *teiſteas.* d *an* duine *eu-céillidh, aon-fhillte, ſhimplidh.* e *faghail.*
Eir. f *uachdaranachd.* g *pheacadh.* h *mo neart.* i *chugad,*
a'd' ionnſuidh. j *Fòir, a Thighearn; éiſdeadh an righ rùinn, 'nuair a*
ghairmeas ſinn.

dha fad laithean gu ſaoghal nan ſaoghal.

5 *Is* mòr a ghlòir trìd do ſhlàinteſa : urram agus mòralachd chuir thu air.

6 Oir rinn thu e ro-bheannuichte gu bràth ; rinn thu e ro aoibhneach le d' ghnùis.

7 Oir earbaidh an righ as an Tighearn ; agus trìd thròcair an Ti a's airde, cha ghluaiſear e.

8 Gheibh do làmh a mach do naimhdean uile ; gheibh do dheas làmh a mach iadſan le'm fuathach thu.

9 Ni thu iad mar àmhuinn [a] theintich ann an àm t'fheirge ; ſluigidh an Tighearna sìos iad na chorruich, agus caithidh [b] an teine iad.

10 An toradh ſgrioſaidh tu o'n talamh, agus an ſliochd o chloinn nan daoine.

11 Oir dhealbh iad olc a't' aghaidh ; ſmuainich iad droch ſmuainte, nach b'urrainn iad *a choimhlionadh*.

12 Uime ſin bheir thu orra an cùl a thionndadh ; air ſreangaibh do bhogha gleuſaidh [c] tu *do ſhaighdean* nan aghaidh.

13 Bi air t'ardachadh, a Thighearn, ann ad neart : ſeinnidh ſinne agus molaidh ſinn do chumhachd.

SALM XXII.

Do'n ard fhear-ciuil air Ailetſachar. Salm le Daibhidh.

MO Dhia, mo Dhia, c'ar ſon a thréig thu mi ? fad o m' ghlaodh [d], *o* bhriathraibh mo bhùiridh ?

2 O mo Dhia ! gairmeam ſan là, ach cha fhreagair thu ; agus ſan oidhche, ach cha *'n'eil* fois agam.

3 Ach *a ta* thuſa naomha, a'd' chòmhnuidh *far am bheil* cliu Iſraeil [e].

4 Aſadſa dh'earb ar n-aithriche ; dh'earb iad, agus ſhaor thu iad.

5 Riutſa ghlaodh iad, agus theaſairgeadh iad ; aſadſa dh'earb iad, agus cha robh nàire orra.

6 Ach *is* cnuimh miſe [f], agus cha duine ; maſladh dhaoine, agus tàir an t-ſluaigh.

7 Ni iadſan uile a chi mi, gàireſanoid rium ; caſaidh iad am beul, crathaidh iad an ceann, *ag ràdh*,

8 Chuir e a dhòigh anns an Tighearn, fuaſgladh e air ; ſaoradh ſe e, a chionn gu bheil tlachd aige ann.

9 Ach *is* tuſa an ti a thug a mach as a' bhroinn mi ; *bu* tu aobhar mo dhòchais, air cìch mo mhàthar.

10 Ortſa thilgeadh mi o'n bhroinn ; o bhroinn mo mhàthar *is* tuſa mo Dhia.

11 Na bi-ſa fada uam, oir *a ta* àmhghar dlùth *dhomh*, agus gun neach ann gu m' chuideachadh.

12 Chuairtich mòran tharbh mi ; dh'iadh *tairbh* làidir Bhaſain umam.

13 Dh'fhoſgail iad orm am beul, mar leòmhan reubach [g] agus beucach.

14 Mar uiſge dhòirteadh mach mi, agus ſgàin mo chnàmhan uile o chéile : tha mo chridhe mar chéir, air leaghadh am meadhon mo chuim.

15 Air tiormachadh mar ſhoitheach creadha tha mo neart, agus *tha* mo theanga a' leantuinn rim' ghial ; agus gu h-ùir a' bhàis thug thu mi.

16 Oir chuairtich madraidh mi ; dh'iadh coimhthional dhroch dhaoine umam : lot iad mo làmhan agus mo choſan.

17 Feudaidh mi mo chnàmhan uile àireamh : tha iadſan a' ſealltuinn, tha iad a' geur-amharc orm.

18 Roinn iad mo thruſcan eatorra, agus air mo bhrat thilg iad crannchur.

19 Ach na bi-ſa, a Thighearn, fad uam : O thuſa mo neart, greas gu m' chabhair.

20 Teaſairg m'anam o'n chlaidheamh, m'aon *ghràdh* [h] o neart [i] a' mhadaidh.

21 Saor

[a] *Cuiridh tu iad ann an àmhuinn.* [b] *millidh.* [c] *deaſaichidh.* [d] *o m'fhurtachd.* [e] *Ach O thuſa, a tha d' chòmhnuidh ſan ionad naomha, cliu Iſraeil.* [f] *mar chnuimh* a ta *miſe.* [g] *fuileachdach.* [h] *mo bheatha, mo phearſa.* [i] *o làimh.* Eabh.

21 Saor mi o bheul an leòmhain, agus o adharcaibh nam buabhull[a] teaſairg mi[b].

22 Cuiridh mi'n céill t'ainm do m' bhràithribh; ann am meadhon a' choimhthionail molaidh mi thu.

23 Sibhſe air am bheil eagal Dé, molaibh e: ſibhſe uile, a ſhìol Iacoib, thugaibh glòir dha; agus biodh 'eagalſan oirbh, ſibhſe uile a ſhìol Iſraeil.

24 Oir cha do rinn e tàir air, agus cha do ghabh e gràin do àmhghar an truaghain[c], agus cha d'fholuich e a ghnùis air; ach an uair a ghlaodh e ris, dh'éiſd e.

25 Ortſa *bithidh* mo mholadh anns a' mhòr choimhthional: mo bhòidean ìocaidh mi nan làthair-ſan d'an eagal e.

26 Ithidh na daoine macanta, agus sàſuichear iad: molaidh iadſan an Tighearna a dh'iarras e: bithidh an cridhe[d] beo gu bràth.

27 Cuimhnichidh air, agus pillidh a dh'ionnſuidh an Tighearna uile chrìocha na talmhainn, agus ſtriochdaidh uile theaghlaiche nan cinneach na làthair.

28 Oir *is* leis an Tighearn an rìoghachd; agus *tha* eſan na uachdaran air na cinnich.

29 Ithidh daoine reamhar[e] na talmhainn uile, agus ni iad aoradh: na làthairſan ſleuchdaidh iadſan uile, a théid sìos do'n duſlach; oir cha chum neach 'anam beo[f].

30 Ni ſliochd[g] ſeirbhis dha: meaſar e do'n Tighearna mar ghinealach.

31 Thig iad, agus cuiridh iad an céill 'fhìreantachd do'n àl ri teachd, gu'm b'eſan a rinn *ſud*[h].

SALM XXIII.

Salm le Daibhidh.

IS e'n Tighearna mo bhuachaille: cha bhi mi ann an dìth.

2 Ann an cluainibh glas bheir e orm luidhe sìos: làimh ri h-uiſgibh ciuin treòraichidh e mi.

3 Aiſigidh[i] e m'anam; treòraichidh e mi air ſlighibh na fìreantachd air ſgàth 'ainme féin.

4 Seadh, ge do ſhiubhail mi trìd ghlinn ſgàile a' bhàis, cha bhi eagal uile orm; oir a *ta* thuſa maille rium: bheir do ſhlat agus do lorg comhfhurtachd dhomh.

5 Deaſaichidh tu bord fa m' chomhair am fianuis mo naimhde: dh'ung thu le h-ola mo cheann; tha mo chupan a' cur thairis.

6 Gu cinnteach leanaidh maith agus tròcair mi uile laithean mo bheatha, agus còmhnuichidh mi ann an tigh an Tighearna fad *mo* laithean[j].

SALM XXIV.

Salm le Daibhidh.

IS leis an Tighearn an talamh, agus a làn; an domhan, agus iadſan a tha nan còmhnuidh ann.

2 Oir ſhuidhich e air na cuantaibh e, agus ſhocraich e air na ſruthaibh e.

3 Cò théid ſuas gu ſliabh an Tighearna? agus cò ſheaſas na ionad naomha-ſan?

4 Eſan aig am bheil làmhan neo-chiontach agus cridhe glan, nach do thog 'anam ri dìomhanas, agus nach do mhionnaich chum ceilge.

5 Gheibh eſan beannachadh o'n Tighearn, agus fìreantachd o Dhia a ſhlàinte.

6 *Is* i ſo ginealach na droinge a dh'iarras e, a dh'iarras do ghnùis, a Dhia Iacoib. Selah.

7 Togaibh, a gheatacha, bhur cinn, agus bithibh air bhur togail ſuas, a dhorſa sìorruidh; agus thig Rìgh na glòire ſteach.

8 Cò e ſo Rìgh na glòire? An Tighearna làidir agus treun, an Tighearna treun an cath.

9 Togaibh ſuas bhur cinn, a gheatacha, agus bithibh air bhur togail ſuas, a dhorſa sìorruidh, agus thig Rìgh na glòire ſteach.

10 Cò e ſo Rìgh na glòire? Tigh-

a *nan aon-adharcach, nan fròin-adharcach* b *dh'éiſd thu rium.* c *an* duine *bhochd.* d *bhur cridhe.* e *beartach.* f *agus bithidh m'anam beo dha-ſan.* g *mo ſhliochd.* h *oir rinn eſan* e. i *iompaichidh.* j *gu bràth.*

caraa nan ſlògh, *is* eſan Righ na glòire. Selah.

SALM XXV.

Le Daibhidh.

RIUTSA, a Thighearn, togam m'anam ſuas.

2 Annadſa, mo Dhia, cuiream mo dhòchas; na nàraichear mi, agus na deanadh mo naimhdean gairdeachas os mo chionn.

3 Seadh, na nàraichear neach ſam bith a dh'fheitheas ortſa; bìodh nàire orra-ſan a chiontaicheas gun aobhar.

4 Nochd dhomh do ſhlighean, a Thighearn; teagaiſg dhomh do cheumanna.

5 Treòraich mi ann ad fhìrinn, agus teagaiſg mi; oir *is* tuſa Dia mo ſhlàinte, agus ortſa tha mi feitheamh gach là.

6 Cuimhnich do chaomh thròcairean, a Thighearn, agus do chaomhneaſan gràdhach; oir *tha* iad ann o chian nan cian.

7 Peacanna m'òige, agus m'euſaontais, na cuimhnich thuſa: a réir do thròcaire bi-ſa cuimhneach orm, air ſgàth do mhaitheis, a Thighearn.

8 *Is* maith agus *is* dìreach an Tighearn; uime ſin teagaiſgidh e peacaich ſan t-ſlighe.

9 Treòraichidh e na daoine ciuin [a] ann am breitheanas; agus teagaiſgidh e do na daoinibh ciuin a ſhlighe.

10 *Is* tròcair agus fìrinn uile ſhlighean an Tighearna, dhoibhſan a ghleidheas a choimhcheangal agus a theiſteis.

11 Air ſgàth t'ainme, a Thighearn, lagh mo chionta; oir *a ta* i mòr.

12 Cò e am fear air am bheil eagal an Tighearna? ſeòlaidh e eſan ſan t-ſlighe *a* roghnuicheas [b] e.

13 Ni 'anam tàmh ann am maith [c]; agus mealaidh a ſhliochd an tìr.

14 *Tha* rùn an Tighearna aig an dream d'an eagal e; agus foillſichidh e dhoibh a choimhcheangal.

15 *Tha* mo ſhùilean a ghnàth ris an Tighearn; oir bheir eſan mo choiſan as an lìon.

16 Amhairc orm [d], agus gabh truas dìom; oir *a ta* mi a'm' aonar, agus fa àmhghar.

17 Tha teinn mo chridhe a' dol am meud: o'm' àmhgharaibh ſaor thuſa mi [e].

18 Amhairc air m' àmhghar, agus air mo phéin [f], agus lagh mo pheacanna gu léir.

19 Amhairc air mo naimhdibh, oir tha iad lìonmhor; agus le fuath anabarrach [g] tha iad ga m' fhuathachadh.

20 Gléidh m'anam, agus ſaor mi; na leig fo nàire mi, oir chuir mi mo dhòigh annad.

21 Dìonadh ionracas agus ceartas mi; oir tha mi feitheamh ortſa.

22 Saor Iſrael, a Dhé, as 'àmhgharaibh uile.

SALM XXVI.

Le Daibhidh.

THOIR breth orm, a Thighearn, oir ghluais mi ann am ionracas: o chuir mi mo dhòigh anns an Tighearn, cha ghluaiſear mi.

2 Fidir mi, a Thighearn, agus dearbh mi; rannſuich [h] m'airnean agus mo chridhe.

3 Oir *tha* do chaoimhneas gràdhach fa chomhair mo ſhùl: agus ghluais mi ann ad fhìrinn.

4 Cha do ſhuidh mi le daoinibh meallta [i], agus maille ri luchd-ceilge cha dthéid mi ſteach.

5 Is beag orm coimhthional luchd-uilc, agus le daoinibh aingidh cha ſuidh mi.

6 Nighidh mi mo làmhan ann an neo-chionta, agus cuairtichidh mi t'altair, a Thighearn;

7 Chum gu foillſich mi le guth molaidh, agus gu cuir mi an céill t'oibre iongantach gu léir.

8 A Thighearn, is ionmhuinn leam còmhnuidh

a *truagh, iriofal.* b *thaghas e, d'an còir dha roghuinn a dheanamh.* c *focair. ſealbhaireachd.* d *Tionndaidh rium.* e *Laſaich teanntachda mo chridhe, agus o m' àmhgharaibh ſaor thuſa mi.* f *mo ſhaothair.* g *eucorach.* h *glan.* i *faoin, diombain.*

còmhnuidh do theach-ſa [a], agus ionad pàilliuin do ghlòire.

9 Na cruinnich m'anam le peacachaibh, no mo bheatha le daoinibh fuileachdach:

10 Aig am bheil lochd [b] nan làmhaibh, agus an làmh dheas làn do dhuais-bhratha.

11 Ach gluaiſidh miſe ann am ionracas: ſaor mi, agus dean tròcair orm.

12 Tha mo chos na ſeaſamh ann an ionad còmhnard: anns na coimhthionalaibh beannuichidh mi an Tighearn.

SALM XXVII.

Le Daibhidh.

IS e an Tighearna mo ſholus, agus mo ſhlàinte; cò chuireas eagal orm? *Is* e an Tighearna neart mo bheatha: cò chuireas geilt orm?

2 'Nuair a thainig luchd-uile orm a dh'itheadh ſuas m'fheòla, mo naimhdean agus m'eaſcairdean, thuiſlich iad féin, agus thuit iad.

3 Ge do champuicheadh feachd a'm' aghaidh, cha bhiodh eagal air mo chridhe: ge d' éireadh cogadh a'm' aghaidh, as ſo ni mi mo bhun.

4 Aon *ni* ghuidh mi air an Tighearna, ſin iarraidh mi, a bhi m' chòmhnuidh ann an tigh an Tighearna rè uile laithean mo bheatha, chum gu faicinn maiſe an Tighearna, agus gu fioſraichinn na theampuill.

5 Oir folaichidh e mi na ſgàththigh [c] ann an latha an uilc; folaichidh e mi ann an dìomhaireachd a phàilliuin [d]; air carraig togaidh e ſuas mi.

6 Agus a nis togar ſuas mo cheann os cionn mo naimhdean mu'n cuairt orm; agus ìobraidh mi na phàilliun ìobairtean aoibhneis; ſeinnidh mi, agus canaidh mi cliu do'n Tighearn.

7 Eiſd, a Thighearna, ri m' ghuth, *'nuair* a dh'éigheas mi; dean tròcair orm, agus freagair mi.

8 *'Nuair a thubhairt thuſa,* Iarraibhſe mo ghnùis, thubhairt mo chridhe riut, Do ghnùis, a Thighearn, iarraidh mi.

9 Na folaich do ghnùis uam, na cuir air falbh t'òglach am feirg; bu tuſa mo chabhair; na fàg mi, agus na tréig mi, a Dhia mo ſhlàinte.

10 'Nuair a thréigeas m'athair agus mo mhàthair mi, an ſin togaidh an Tighearna ſuas mi.

11 Teagaiſg dhomh do ſhlighe, a Thighearn, agus treòruich mi air ſlighe dhìrich, air ſgàth mo naimhde.

12 Na tabhair thairis mi do thoil mo naimhde; oir dh'éirich fianuiſean bréige a'm' aghaidh, agus luchd bagairt foirneirt.

13 Gidheadh chreid miſe [e] gu'm faicinn maitheas an Tighearna ann an tìr nam beo.

14 Feith air an Tighearna, glac miſneach [f], agus neartaichidh eſan do chridhe: feith, tha mi 'g ràdh, air an Tighearn.

SALM XXVIII.

Le Daibhidh.

RIUTSA, a Thighearn, éigheam, mo charraig: na bi-ſa a'd' thoſd [g] am' thaobh, air eagal, ma bhios tu a'd' thoſd am' thaobh, gu fàs mi coſmhuil riu-ſan a théid sìos do'n uaigh [h].

2 Eiſd ri guth m'athchuingean an uair a ghlaodhas mi riut, an uair a thogas mi mo làmhan chum do ghuthàite naomha-ſa [i].

3 Na tarruing mi mach leis na h-aingidh, agus le luchd-dheanamh na h-eucorach, a tha labhairt sìth r'an coimhearſnaich, agus olc aca nan cridhe.

4 Thoir dhoibh a réir an oibre, agus a réir aingidheachd an gnìomhara; a réir oibre an làmh thoir dhoibh; ìoc an luigheachd [j] dhoibh.

5 A chionn nach dthoir iad an aire do ghnìomharaibh an Tighearna, no do obair a làmh, ſgrioſaidh e iad, agus cha tog e ſuas iad.

6 Beannuichte gu *robh* an Tighearn,

a *àite-còmhnuidh do naomhachd-ſa.* b *eingidheachd, donas.* c *na phubull, na phàilliun.* d *bhùtha.* e Rachadh mo mhiſneach air cùl *mur creidinn.* f *bi daingean; bi làidir.* Eabh. g *bodhar.* h *do'n t-ſlochd.* i *gu ionad-còmhnuidh do naomhachd-ſa.* j *an duol, an dìoghe.*

earn, a chionn gu'n d'éisd e ri guth
m'athchuinge.

7 *Is* e an Tighearna mo neart, a-
gus mo sgiath; annsan chuir mo
chridhe a dhòchas, agus chuidicheadh
leam: uime sin rinn mo chridhe gair-
deachas, agus le m' laoidh molaidh
mi e.

8 *Is* e an Tighearna neart a shluaigh;
agus *is* esan neart slàinte 'aoin ungta
féin.

9 Saor do shluagh, agus beannuich
t'oighreachd: beathuich iad, agus
ardaich iad gu brath.

SALM XXIX.

Salm le Daibhidh.

THUGAIBH do'n Tighearn, a
chlann nan cumhachdach,
thugaibh do'n Tighearna glòir agus
neart.

2 Thugaibh do'n Tighearna a'ghlòir
a's cubhaidh d'a ainm; sleuchdaibh
do'n Tighearn ann am maise na
naomhachd.

3 *Tha* guth an Tighearna os cionn
nan uisge: rinn Dia na glòire tair-
neanach, an Tighearn, os cionn nan
uisge mòra.

4 *Tha* guth an Tighearna cumh-
achdach; *tha* guth an Tighearna làn
mòralachd.

5 Brisidh guth an Tighearna na
seudair; seadh, brisidh an Tighearna
seudair Lebanoin.

6 Agus bheir e orra leum mar
laogh; Lebanon agus Sirion, mar
bhuabhull [a] òg.

7 Sgoiltidh guth an Tighearna
lasraiche an teine [b].

8 Crathaidh guth an Tighearna
am fàsach; crathaidh an Tighearna
fàsach Chadeis.

9 Bheir guth an Tighearna air
na h-eildibh an laoigh a thilgeadh [c],
agus lomaidh e na coillte: agus na
theampull cuiridh gach neach an céill
a ghlòir.

10 Suidhidh an Tighearn air an
tuil; agus suidhidh an Tighearna na
Rìgh gu siorruidh.

11 Bheir an Tighearna neart d'a
shluagh; beannuichidh an Tighearna
a shluagh le sìth.

SALM XXX.

Salm; laoidh coisreagaidh tighe
Dhaibhidh.

MOLAIDH mi thu, a Thighearn;
oir thog thu suas mi, agus
cha d'thug thu air m'eascairdibh gair-
deachas a dheanamh os mo chionn.

2 A Thighearna mo Dhia, ghlaodh
mi riut, agus shlànuich thusa mi.

3 A Thighearna, thog thu m'anam
a nìos as an uaigh; ghléidh thu beo
mi, chum nach rachainn sìos do'n
t-slochd.

4 Seinnibh do'n Tighearna, sibhse
a naoimh-san, agus thugaibh buidh-
eachas ri cuimhneachadh air a naomh-
achd.

5 Oir *cha 'n'eil ach* tiota na fheirg,
tha beatha na dheadh-ghean: rè
oidhche mairidh bròn, ach air mad-
uinn *thig* gairdeachas.

6 Thubhairt mise a'm' shocair [d],
Cha ghluaisear mi am feasd.

7 A Thighearna, le d' dheadh-
ghean thug thu air mo bheinn seas-
amh gu daingean [e]: dh'fholuich thu
do ghnùis; bha mi fa amhluadh.

8 Ghlaodh mi riutsa, a Thighearn;
agus air an Tighearn dh'asluich mi:

9 Ciod an tairbhe *a tha* ann am
fhuil, 'nuair a théid mi sìos do'n
t-slochd? am mol an ùir thu? an cuir
i an céill t'fhìrinn.

10 Eisd rium, a Thighearn, agus
dean tròcair orm: A Thighearna, bi-
sa a'd' fhear-cuidich leam.

11 Thionndaidh thu dhomhsa mo
bhròn gu dannsadh: chuir thu dhìom
m'eudach-saic, agus chriosdaich thu
mi le h-aoibhneas:

12 Chum gu seinneadh *mo* ghlòir
cliu dhuit, agus nach bitheadh i na
tosd: A Thighearna mo Dhia, gu
bràth molaidh mise thu [f].

SALM

a *aon-adharcach.* b *an dealanaich.* c *Crathaidh guth an Tighearna na daragan.* d *shuaimhneas, shoirbheas.* e *thug thu neart do m' urram, do m' mhaise.* f *bheir mise buidheachas dhuit.*

SALM XXXI.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm le Daibhidh.

ANNADSA, a Thighearn, cuiream mo dhòigh; na nàraichear mi gu bràth; trìd t'fhìreantachd saor mi.

2 Aom a m' ionnsuidh do chluas, gu grad furtaich orm: bi-sa a'd' charraig làidir dhomh, a'd' thigh tearmuinn chum mo dhìonadh.

3 Oir *is* tusa mo charraig, agus mo dhaingneach; agus air sgàth t'ainme treòraichidh agus stiùraidh tu mi.

4 Bheir thu mi as an lìon a dh'fholuich iad fa m' chomhair; oir *is* tusa mo neart.

5 Ann ad làimh-sa tiomnam mo spiorad: saor mi [a], a Thighearna Dhé na fìrinn.

6 *Is* fuath leat [b] iadsan a bheir fa'near dìomhanasa breugach: ach anns an Tighearna chuir mise mo dhòchas.

7 Ni mi aoibhneas agus gairdeachas ann do thròcair: oir chunnaic thu m'àmhghar; b'aithne dhuit m'anam ann an teanntachdaibh;

8 Agus cha do dhruid thu suas mi ann an làimh an nàmhaid; shocraich thu mo chosan ann an àite farsaing.

9 Gabh truas dìom, a Thighearn, oir *tha* mi ann an teinn; tha mo shùil, m'anam, agus mo chom, air seargadh as le doilgheas.

10 Oir chlaoidheadh mo bheatha le bròn, agus mo bhliadhnan le h-osnaich; air son m'euceirt thuit mo neart, agus chaitheadh mo chnàmha.

11 Am measg mo naimhde gu léir bha mi a'm' mhasladh, agus gu h-àraidh do m' choimhearsnachaibh, agus a'm' aobhar eagail do m' luchd eòlais: iadsan a chunnaic mi a muigh, theich iad uam.

12 Dhi-chuimhnicheadh mi mar dhuine marbh air dol a cuimhne; tha mi mar shoitheach briste.

13 Oir chuala mi cùl-chàineadh mòrain dhaoine; *bha* eagal air gach taobh, 'nuair a ghabh iad comhairle le chéile a'm' aghaidh, a dhealbh iad mo bheatha thoirt uam.

14 Ach dh'earb mise asadsa, a Thighearn; thubhairt mi, *Is* tu mo Dhia.

15 Ann ad làimh-sa *tha* m'aimsirean: saor mi as làimh mo naimhdean, agus uatha-san a tha 'n tòir orm.

16 Thoir air do ghnùis dealrachadh air t'òglach: saor mi air sgàth do thròcaire.

17 Na nàraichear mi, a Thighearn, oir ghairm mi ort; nàire biodh air na h-aingidh, nan tosd bitheadh iad san uaigh!

18 Deanar balbh na bilean breugach, a labhras an aghaidh an fhìrein gu cruaidh, le h-uabhar agus tarcuis.

19 Cia mòr do mhaitheas, a thaisg thu dhoibhsan do'n eagal thu; a rinn thu dhoibhsan a dh'earbas asad, am fianuis chloinn nan daoine!

20 Folaichidh tu iad ann an dìomhaireachd do làthaireachd [c] o àilgheas dhaoine; folaichidh tu iad ann am pàilliun o strì nan teanga.

21 Beannuichte *gu robh* an Tighearn; oir nochd e gu h-iongantach a chaoimhneas dhomhsa ann am baile daingnichte [d].

22 Thubhairt mise a'm' dheifir, Ghearradh as mi o shianuis do shùl: gidheadh dh'éisd thusa ri guth m'asluchaidh, 'nuair a dh'éigh mi riut.

23 Gràdhaichibh an Tighearn, sibhse uile a naoimhsan: gleidhidh an Tighearn na daoine treibhdhireach, agus dìolaidh e gu pailt dhasan a ni gu h-uaibhreach.

24 Bithibhse misneachail, agus neartaichidh esan bhur cridhe, sibhse uile a chuir bhur dòchas anns an Tighearn.

SALM XXXII.

Le Daibhidh, Maschil.

IS beannuichte esan d'an do mhaitheadh [e] 'eusaontas, d'am bheil a pheacadh air 'fholachadh.

2 *Is* beannuichte an duine, nach cuir

a *shaor thu mi.* b *leam.* c *do ghnùise.* Eabh. d *ann an caithir làidir.* e *dhi-chuimhnicheadh.*

cuir an Tighearn euceart as a leth, agus aig nach *'eil* cealg na ſpiorad.

3 'Nuair a bha mi a'm' thoſd[a], luidh aois air mo chnàmhaibh[b], le m' bhùireadh fad an latha.

4 Oir a là agus a dh'oidhche bha do làmh trom orm : tha mo bhrìgh air a h-atharrachadh gu tiormachd an t-ſamhraidh. Selah.

5 Dh'aidich mi mo pheacadh dhuit, agus cha do cheil mi m'eucceart : thubhairt mi, Aidichidh mi m'euſaontais do'n Tighearn ; agus mhaith thuſa cionta mo pheacaidh. Selah.

6 Air an aobhar ſin ni gach duine diadhuidh[c] urnuigh riutſa, ſan àm am faighear thu : gu cinnteach ann an tuil nan uiſge mòra, cha dthig iad am fagus da.

7 *Tha* thuſa a'd' ionad-ſoluich dhomh ; o theinn gleidhidh tu mi ; le h-òranaibh ſaorſa cuairtichidh tu mi. Selah.

8 Fìor-theagaiſgidh mi thu, agus nochdaidh mi dhuit an t-ſlighe air an dthigeadh dhuit triall ; ſeòlaidh mi dhuit le m' ſhùil[d].

9 Na bi mar each, no mar mhuileid[e], *aig* nach 'eil ciall ; d'an cuirear ſparrag agus ſrian nam beul, chum nach dthig iad an gar dhuit[f].

10 *Is* lìonmhor doilgheaſan do'n aingidh ; ach cuairtichidh tròcair eſan a dh'earbas as an Tighearn.

11 Bithibh aoibhneach anns an Tighearn, agus deanaibh gairdeachas, ſibhſe fhìreana ; agus deanaibh luathghaire, ſibhſe uile *a tha* ceart an cridhe.

SALM XXXIII.

DEANAIBH gairdeachas ſan Tighearna, ſibhſe fhìreana ; do na h-ionraic *tha* cliu ciatach.

2 Molaibh an Tighearna air clàrſaich : air an t-ſaltair, inneal-ciuil nan deich teud, ſeinnibh dha.

3 Canaibh dha òran nuadh ; ſeinnibh fonn gu h-ealanta, le fuaim ard.

4 Oir *tha* focal an Tighearna ceart agus *tha* 'oibre uile *deanta* ann an fìrinn.

5 Is ionmhuinn leis ceartas agus breitheanas ; do mhaitheas an Tighearna tha'n talamh làn.

6 Le focal an Tighearna rinneadh na nèamha, agus le h-anail a bheoil an ſlòigh uile.

7 Carnaidh e ſuas mar thorr uiſgeacha na fairge ; cuiridh e an doimhne ſuas *na* thighibh-taſgaidh.

8 Roimh an Tighearna biodh eagal air an talamh uile ; roimh-ſan biodh fiamh air uile luchd-aiteachaidh an domhain :

9 Oir labhair e, agus bha e ann ; dh'àithn e, agus ſheas e[g].

10 Rinn an Tighearna comhairle nan cinneach faoin ; thug e innleachdan an t-ſluaigh gu neo-ni.

11 Seaſaidh comhairle an Tighearna gu ſiorruidh, ſmuaintean a chridhe o linn gu linn.

12 *Is* beannuichte an cinneach ſin, 'gam *bheil* an Tighearna na Dhia dhoibh ; an ſluagh *a* roghnuich e mar oighreachd dha fèin.

13 O na nèamhaibh amhaircidh an Tighearn anuas ; chi e uile chlann nan daoine.

14 O ionad ſeaſmhach a chòmhnuidh beachdaichidh e air uile luchd-àiteachaidh na talmhainn.

15 Chum eſan an cridhe air aon dòigh ; bheir e fa'near an gnìomharan uile.

16 Cha tearnar rìgh le meud fheachd[h] : cha ſaorar laoch le meud a neirt.

17 *Is* dìomhain an t-each chum tèaruinteachd ; agus le meud a neirt cha ſaor e.

18 Feuch, *tha* sùil an Tighearna orra-ſan d'an eagal e ; orra-ſan a chuireas an dòchas na thròcair ;

19 Chum an anam a theaſairginn o'n bhàs, agus an cumail beo anns a' ghorta.

20 Feithidh ar n-anam air an Tighearn ; *is* eſan ar cabhair, agus ar ſgiath.

21 Oir

a a thaobh mo pheacaidh. b *chaitheadh mo chnàmhan.* c *naomh, maith.* d *bheir mi comhairle dhuit le m' ſhùil a bhi ort ; ſocraichidh mi mo ſhùil ort.* e *mhuilidh ; mule.* Saſg. f no *cha dthig iad am fagus duit.* g *bha e air bhuil.* h *a ſhlòigh.*

21 Oir annſan ni ar cridhe gairdeachas, a chionn na ainm naomhaſan gu'n do chuir ſinn ar dòigh.
22 Gu robh do thròcair, a Thighearn, oirnn, a réir mar a chuir ſinn ar dòchas annad.

SALM XXXIV.

Le Daibhidh, 'nuair a dh'atharruich e a ghiùlan an làthair Abimeleich, agus a chuir eſan uaith e, agus a dh'imich e.

BEANNUICHIDH mi an Tighearna gach àm: an còmhnuidh *bithidh* a mholadh ann am bheul.
2 Anns an Tighearna ni m'anam uaill; cluinnidh na daoine sèimh, agus ni iad aoibhneas.
3 Molaibh an Tighearna leamſa, agus ardaicheamaid 'ainm le chéile.
4 Dh'iarr mi an Tighearn, agus dh'éiſd e rium: agus ſhaor e mi o gach sobhar eagail a bha agam.
5 Dh'amhairc iad air, agus ſhoillſicheadh iad; agus cha robh nàire air an gnùis [a].
6 Ghlaodh an duine bochd ſo, agus dh'éiſd an Tighearna ris; agus as a theanntachdaibh gu léir ſhaor ſe e.
7 Campuichidh aingeal an Tighearna mu'n timchiollſan d'an eagal e, agus teaſairgidh e iad.
8 O blaiſibh agus faicibh gur maith an Tighearn: *is* beannuichte an duine ſin *a* dh'earbas as.
9 Biodh eagal an Tighearna oirbh, a naomh-ſan; oir cha *bhi* dìth air a luchd-eagailſan.
10 Bithidh eaſbhuidh air na leòmhanaibh òga [b], agus bithidh ocras orra; ach orra-ſan a dh'iarras an Tighearna cha bhi maith air bith a dhìth.
11 Thigibh, a chlann, éiſdibh rium; teagaiſgidh mi dhuibh eagal an Tighearna.
12 Cò e am fear a mhiannuicheas beatha, a ghràdhaicheas laithean a dh'fhaicinn maith?
13 Gléidh do theanga o olc, agus do bhilean o labhairt ceilg.
14 Seachuinn an t-olc, agus dean am maith; iarr sìochaint agus lean i.
15 *Tha* sùilean an Tighearna air na fìreanaibh, agus a chluas r'an glaodh.
16 *Tha* gnùis an Tighearna an aghaidh luchd-deanamh uilc, chum an cuimhne a ghearradh as o'n talamh.
17 Ghlaodh na [fìreana] agus dh'éiſd an Tighearn; agus as an teanntachdaibh gu léir ſhaor e iad.
18 *Is* dlùth an Tighearna dhoibhſan a tha briſte nan cridhe, agus ſaoraidh e iadſan a tha brùite nan ſpiorad.
19 *Is* lìonmhor àmhgharan an fhìrein; ach aſda air fad ſaoraidh an Tighearn e.
20 Gleidhidh an Tighearn a chnàmhan uile: cha bhi h-aon diubh briſte.
21 Marbhaidh olc na h-aingidh [c], agus iadſan a tha toirt fuath do'n fhìrean lom-ſgrioſar iad.
22 Saoraidh an Tighearn anam a ſheirbhiſeach agus cha ſgrioſar aon air bith dhiubhſan a chuireas an dòigh ann.

SALM XXXV.

Le Daibhidh.

TAGAIR, a Thighearn, riu-ſan a thagras a'm' aghaidh; cog nan aghaidh-ſan a chogas a'm' aghaidh.
2 Glac targaid agus ſgiath, agus éirich chum mo chuideachaidh.
3 Agus tarruing a mach an t-ſleagh, agus druid *an t-ſlighe* n'n aghaidhſan [d] a tha 'n tòir orm: abair ri m'anam, *Is* mi do ſhlàinte.
4 Nàire agus maſladh gu robh orra-ſan a tha 'g iarraidh m'anama; gu pillear iadſan air an ais, agus gu robh amhluadh orra, a tha ſmuaineachadh uilc dhomh.
5 Bitheadh iad mar mholl fa chomhair na gaoithe, agus aingeal an Tighearna 'g an ruagadh.
6 Bitheadh an ſlighe dorcha agus ſleamhuinn, agus aingeal an Tighearna an tòir orra.
7 Oir gun aobhar dh'fholuich iad air

a *Ambaircibhſe air, agus bithibh air bhur ſoillſeachadh; agus cha bhi nàire air bhur gruaidh.* b *Bithidh daoine cumhachdach bochd.* c *an t-aingidh.* d *tarruing an t-ſleagh agus an claidheamh nan aghaidh-ſan.*

air mo ſhon an lìon; ſlochd gun aobhar chladhaich iad air ſon m'anama.

8 Thigeadh ſgrios air gun fhios da, agus a lìon a dh'fholuich e, glacadh ſe e fèin: ann ſgrios ſin tuiteadh e.

9 Ach ni m'anamſa gairdeachas anns an Tighearn; ni e aoibhneas na ſhlàinte.

10 Their mo chnàmhan uile, A Thighearn, cò *is* coſmhuil riutſa, a theaſairgeas am bochd[a] uaith-ſan a's treiſe na e, agus am bochd agus an t-ainnis[b] uaithſan a chreachadh e?

11 Dh'èirich fianuiſean eucorach; chuir iad as mo leth[c] *nithe* air nach robh fios agam.

12 Dhìol iad dhomh olc an èiric maith, *a' cur rompa* mo bheatha a thoirt uam.

13 Ach am thaobhſa, 'nuair a bha iadſan gu tinn, b'e eudach-ſaic mo chulaidh, dh'irioſlaich mi m'anam le troſgadh[d], agus phill m'urnuigh a'm' uchd fèin.

14 Mar gu'm bu charaid no bràthair dhomh *a bhiodh* ann, ghluais mi; mar fhear caoidh a mhàthar, gu dubhach chrom mi sìos.

15 Ach air bhi dhomhſa ann an àmhghar, bha iadſan ait, agus chruinnich iad le chèile; chruinnich daoine ſuarach nach b'aithne dhomh le chèile a'm' aghaidh; reub iad, agus cha do ſguir iad.

16 Le luchd dian-mhagaidh[e] cealgach, chas iad am fiacla rium.

17 Cia fhad, a Thighearn, a dh'amhairceas tu air *ſo*? ſaor m'anam o am milleadh, m'aon *ghràdh*[f] o na leòmhanaibh.

18 Cliùthaichidh mi thu[g] anns a' mhòr choimhthional; am meaſg ſluaigh lìonmhoir molaidh mi thu.

19 Na deanadh iadſan a ta nan naimhdibh dhomh gu h-eucorach, gairdeachas os mo chionn: iadſan aig am bheil fuath dhomh gun aobhar na caogadh iad le'n sùil:

20 Oir cha labhair iad sìth, ach an aghaidh dhaoine ciuin na tìre dealbhaidh iad nithe cealgach.

21 Dh'fhoſgail iad am beul gu farſaing a'm' aghaidh; thubhairt iad, Aha, aha, chunnaic ar sùil.

22 Chunnaic thuſa *ſo*, a Thighearn, na bi a'd' thosd: a Thighearn, na bi fad uam.

23 Tog ort, agus moſgail chum mo cheirt[h]; chum mo chùiſe, mo Dhia agus mo Thighearn.

24 Thoir breth orm a rèir do cheartais, a Thighearna, mo Dhia, agus na deanadh iad gairdeachas os mo chionn.

25 Na h-abradh iad nan cridhe, Aha, *is* e ſud ar miann: idir na h-abradh iad, Shluig ſinn ſuas e.

26 Nàire agus amhluadh gu robh orra-ſan le chèile, a tha deanamh gairdeachais ri m'olc: còmhdaichear le nàire agus maſladh iadſan a dh'ardaicheas iad fèin a'm' aghaidh!

27 Deanadh iadſan iolach, agus bitheadh iad aoibhneach, a ſheaſas mo chòir dhomh[i]; agus abradh iad a ghnàth, Mòr chliù gu robh do'n Tighearn, aig am bheil tlachd ann an sìth a ſheirbhiſich!

28 An ſin cuiridh mo theanga an cèill do cheartas, air feadh an là do chliù.

SALM XXXVI.

Do'n ard fhear-ciuil, Le Daibhidh òglach an Tighearna.

'S E their an t-aingidh an taobh a ſtigh d'a chridhe[j], gu'm peacaich e: cha *'n'eil* eagal Dè fa chomhair a ſhùl.

2 Oir ni e bàigh[k] ris fèin na ſhùilibh fèin, gus am faighear a mach a chionta mar aobhar fuatha[l].

3 *Is* euceart agus cealg briathran a bheoil: leig e dheth bhi glic, maith a dheanamh.

4 Dealbhaidh

a *an duine truagh, àmhgharach.* b *am feumannach.* c *dh'fheòraich iad dhìom.* d *traſgadh.* e *luchd-magaidh air cuirmibh.* f *mo ſheircein, mo phearſa.* g *Bheir mi buidheachas duit.* h *mo chòir, mo bhreitheanais.* i *lèis an ionmhuinn mo cheartas.* j *do m' chridhe.* k *miodal, brionnal.* l *'nuair a gheibhear a mach a chionta gràineil.*

4 Dealbhaidh e euceart air a leabaidh; ſuidhichidh ſe e féin air ſlighe nach '*eil* maith; cha'n oilteil leis an t-olc.

5 A Thighearn, anns na nèamhaibh *tha* do thròcair; tha t'fhìrinn gu ruig na neoil.

6 *Tha* t'fhìreantachd mar na beannta arda, do bhreitheanais nan doimhne mhòir: gleidhidh tuſa, a Thighearn, duine agus ainmhidh.

7 Cia luachmhor do chaoimhneas gràdhach, a Dhé! uime ſin earbaidh clann nan daoine a ſgàile do ſgiathan.

8 Sàſuichear iad gu mòr le ſaill[a] do thighe, agus as abhuinn do ſhòlaſan bheir thu orra òl.

9 Oir agad'ſa *tha* tobar na beatha: ann ad ſholus-ſa chì ſinne ſolus.

10 Buanaich do chaoimhneas gràidh dhoibhſan a chuir eòlas ort, agus t'fhìreantachd dhoibhſan a tha ionraic nan cridhe.

11 Na dthigeadh cos an ardain orm, agus na gluaiſeadh làmh nan aingidh mi.

12 An ſin thuit luchd-dheanamh na h-euceirt sìos; leagadh sìos iad, agus cha'n urrainn iad éirigh.

SALM XXXVII.

Le Daibhidh.

NA biodh campar[b] ort mu dhaoinibh aingidh, agus na gabh farmad ri luchd-dheanamh na h-euceirt:

2 Oir mar am feur gearrar gu grad sìos iad, agus mar an luibh ghlas[c] ſeargaidh iad.

3 Earb thuſa as an Tighearn, agus dean maith; *mar ſin* gabhaidh tu còmhnuidh ſan tìr, agus beathaichear thu gu cinnteach[d].

4 Mar an ceudna gabh tlachd anns an Tighearn, agus bheir e dhuit iarrtuis do chridhe.

5 Tabhair ſuas do ſhlighe do'n Tighearn, agus earb as, agus ni ſe *e*.

6 Agus bheir e mach t'fhìreantachd mar an ſolus, agus do bhreitheanas mar am meadhon-là.

7 Bi d' thoſd an làthair an Tighearna[e], agus feith le foighidinn air: na biodh campar ort mu'n ti a ſhoirbhicheas na ſhlighe, mu'n fhear a bheir a dhroch innleachda gu buil.

8 Leig fearg dhìot, agus tréig corruich; na biodh campar ort air aon chor[f] chum uile.

9 Oir gearrar as droch dhaoine; ach iadſan a dh'fheitheas air an Tighearn, buan-mhealaidh iad an talamh[g].

10 Oir fathaſt tamull[h] beag, agus cha *bhi* an t-aingidh ann; ſeadh, bheir thu fa'near 'àit-ſan, agus cha *bhi* e ann.

11 Ach mealaidh daoine macanta[i] an talamh, agus gabhaidh iad tlachd ann am meud na sìth.

12 Tha'n t-aingidh a cumadh uile do'n ionraic, agus a' caſadh 'fhiacal ris.

13 Ni Dia fanoid air, oir is léir dha gu bheil a latha a' teachd.

14 Tharruing na h-aingidh an claidheamh, agus chuir iad am bogha air ghleus, a leagadh sìos a' bhochd agus an ainnis, a mharbhadh luchd deagh-bheus[j].

15 Théid an claidheamh a ſteach nan cridhe féin, agus briſear am bogha.

16 *Is* fearr beagan aig an duine ionraic na ſaibhreas mhòrain dhroch dhaoine.

17 Oir briſear gairdeana dhroch dhaoine; ach cumaidh Dia ſuas na fìreana.

18 *Is* fioſrach Dia air laithibh nan daoine ionraic, agus bithidh an oighreachd gu sìorruidh.

19 Cha chuirear gu nàire iad ann an àm an uilc, agus ann an laithibh na gorta sàſuichear iad.

20 Ach ſgrioſar droch dhaoine, agus *bithidh* naimhdean an Tighearna mar ſhaill uan: théid as doibh, mar dheataich théid as doibh.

21 Gabhaidh

a *pailteas.* b *laſan, fearg.* c *uaine.* d *le a pailteas.* e *Fan gu sàmhach ris an Tighearn.* f *a mhàin.* g *ſealbhaichidh iad an talamh mar oighreachd.* h *tiota, ſealan.* i *ciuin, sèimh.* j *nan* daoine *dìreach nan ſlighe.*

21 Gabhaidh an t-aingidh iaf-
achd [a], agus cha dìol e rìs ; ach tha'm
fìrean tròcaireach, agus bheir e uaith.
22 Oir iadfan a bheannuichear leis,
mealaidh iad an talamh ; agus iad-
fan a mhalluichear leis, gearrar as
iad.
23 Leis an Tighearn tha ceumanna
duine air an orduchadh, agus gabh-
aidh e tlachd na fhlighe:
24 Ge do thuit e, cha tilgear gu
tur sìos e ; oir cumaidh an Tighearna
fuas air làimh e.
25 Bha mi òg, agus a nis tha mi
fean ; gidheadh cha'n fhaca mi am
fìrean air a thréigfinn, agus a fhliochd
ag iarruidh arain.
26 *Tha* e ghnàth truacanta agus
coingheallach ; agus *bithidh* a fhliochd
beannuichte.
27 Seachuinn an t-olc, agus dean
am maith, agus gabh còmhnuidh gu
bràth.
28 Oir is toigh leis an Tighearna
breitheanas, agus cha tréig e a
naoimh : gu bràth coimhidear [b] iad-
fan ; ach gearrar as fliochd nan ain-
gidh.
29 Mealaidh na fìreana an tìr, a-
gus gabhaidh iad còmhnuidh innte
gu bràth.
30 Cuiridh beul an fhìrein an céill
gliocas, agus labhraidh a theanga
breitheanas.
31 *Tha* lagh a Dhé na chridhe :
cha fleamhnuich a cheumanna.
32 Bithidh an droch dhuine ri
faire air an fhìrean, agus iarruidh e a
mharbhadh.
33 Cha'n fhàg an Tighearn e na
làimh ; agus cha dìt fe e, 'nuair a
bheirear breth air.
34 Feith air an Tighearn, agus
gléidh a fhlighe ; agus ardaichidh e
thu, chum an tìr a mhealtuinn :
'nuair a ghearrar as droch dhaoine,
chi thu e.
35 Chunnaic mi an duine aingidh
am mòr chumhachd, agus e 'ga fgaoil-
eadh féin amach mar ùr chraoibh [c]
uaine.
36 Ach chaidh e feachad [d], agus
feuch, cha *robh* e ann ; agus dh'iarr
mi e, ach cha d'fhuaras e.
37 Thoir fa'near an duine foirfe [e],
agus amhairc air an duine ionraic ;
oir *is* i sìth a's crìoch do'n duine
fin.
38 Ach fgriofar luchd eufaontais
faraon ; gearrar as crìoch [f] dhroch
dhaoine.
39 *Tha* flàinte nam fìrean o'n
Tighearn ; *is efan* an neart ann an
àm teanntachd :
40 Agus cuidichidh an Tighearna
leo, agus teafairgidh e iad : teafairg-
idh e iad o dhroch dhaoinibh, agus
faoraidh e iad, a chionn gu'n d'earb
iad as.

SALM XXXVIII.

Salm le Daibhidh a chur an cuimhne.

A THIGHEARNA, na cronuich
mi ann ad chorruich, agus
na fmachdaich mi ann an teas
t'fheirge :
2 Oir fhàthadh do fhaighdean
annam, agus tha do làmh trom orm.
3 Cha *'n'eil* fallainneachd a'm'
fheoil air fon t'fheirge : cha *'n'eil*
sìth a'm' chnàmhaibh air fon mo
pheacaidh :
4 Oir chaidh m'euceartan thar mo
cheann : mar eire [g] thruim tha iad
ro-throm air mo fhon.
5 Tha mo chreuchda lobhta, breun,
air fon m'amaideachd.
6 Tha mi cràiteach, chromadh sìos
mi gu mòr ; air feadh an là uile tha
mi 'g imeachd gu dubhach :
7 Oir tha mo leafraidh làn do *ghal-
ar* granda ; agus cha *'n'eil* fallain-
eachd a'm' fheoil.
8 Tha mi lag, agus ro-bhrùite :
tha mi a' bùireadh trìd mi-fhuaimh-
neis mo chridhe.
9 A Thighearn, *tha* mo mhiann
uile a'd' làthair, agus cha 'n'eil m'of-
naich folaichte ort.
10 Tha mo chridhe a' plofcartaich [h] ;
thréig mo neart mi : a thaobh fradh-
airc [i] mo fhùl, fin mar an ceudna
cha *'n'eil* agam.

11 Tha

a *an coingheall.* b *gleidhear.* c *mar fhendar, edfre.* Eabh.
d *chaidh mi feach.* e *coimhlionta, iomlan* f *fuigheall, fliochd.*
g. *uallaich, callaich.* h *luaimhneach.* i *radhairc, foluis.*

11 Tha luchd mo ghaoil agus mo chairdean a' ſeaſamh fa chomhair mo leoin; agus tha mo dhilſean a' ſeaſamh fad uam.

12 Agus tha luchd-iarruidh m'anama a' cur ribeacha *romham*, agus luchd-iarruidh m'uile a' labhairt nithe aimhleaſach, agus a' ſmuaineachadh ceilge air feadh an la uile.

13 Ach mar dhuine bodhar, cha chluinn miſe; agus *tha* mi mar dhuine balbh, nach foſgail a bheul.

14 Tha mi eadhon mar fhear nach cluinn, agus aig nach '*eil* achmhaſain na bheul.

15 Oir annadſa, a Thighearn, chuir mi mo dhòchas: éiſdidh tuſa, a Thighearna mo Dhia.

16 Oir thubhairt mi, Air eagal gu'n dean iad gairdeachas a'm' aghaidh; 'nuair a ſhleamhnuicheas mo chos, gu'n ardaich ſiad iad féin a'm' aghaidh.

17 Oir *tha* mi ealamh gu tuiſleachadh, agus *tha* mo dhoilgheas [a] a'm' fhianuis a ghnàth.

18 Oir aidichidh mi m'euceart; bithidh mi doilich air ſon mo pheacaidh.

19 Ach *a ta* mo naimhdean beothail, tha iad làidir [b]; agus tha iadſan aig am bheil fuath dhomh gu h-eucorach, air fàs lìonmhor.

20 Agus tha iadſan a dhìolas olc air ſon maith a' cur a'm' aghaidh, a chionn gu bheil mi leantuinn a' mhaith.

21 Na tréig mi, a Thighearn, mo Dhia; na bi-ſa fad uam.

22 Greas chum mo chuideachaidh, a Thighearn, mo ſhlàinte.

SALM XXXIX.

Do'n ard fhear-ciuil, do Iedutun, Salm le Daibhidh.

THUBHAIRT mi, Bheir mi 'n aire do m' ſhlighibh, nach peacaich mi le m' theangaidh: gleidhidh mi ſrian air mo bheul, an uair a bhios an *duine* aingidh a'm' fhianuis.

2 Bha mi balbh toſdach, dh'fhan mi o labhairt maith *féin*; ach dhùiſgeadh mo dhoilgheas.

3 Dh'fhàs mo chridhe teth an taobh a ſtigh dhìom; 'nuair a bha mi a' beachd-ſmuaineachadh, las an teine; labhair mi le m' theangaidh:

4 Thoir fios dhomh, a Thighearn, air mo chrìch, agus tomhas mo laithean ciod e, chum gu bi fios agam cia gearr mo ré.

5 Feuch, mar leud boiſe rinn thu mo laithean, agus *tha* m'aois mar neo-ni a'd' fhianuis: gu deimhin *is* dìomhanas gach duine d'a fheabhas. Selah.

6 Gu deimhin tha gach duine a' ſiubhal ann an ſamhladh dìomhain [c]: gu deimhin cuirear mi-ſhuaimhneas orra gu faoin: carnaidh *neach* ſuas *beartas*, gun fhios aig cò mhealas [d] e.

7 Agus a nis ciod ris am feitheam, a Thighearn? tha mo dhòchas annadſa.

8 Saor mi o m'euſaontaſaibh uile; na dean ball-maſlaidh an amadain dhìom.

9 Bha mi a'm' thoſd, cha d'fhoſgail mi mo bheul, a chionn gur tuſa a rinn *e*.

10 Tog dhìom do bhuille: le beum do làimh-ſa chlaoidheadh mi.

11 Le achmhaſanaibh air ſon euceirt 'nuair a chronuicheas tu duine, bheir thu air a ſhnuadh caitheadh mar leomann: gu deimhin *is* dìomhanas gach duine. Selah.

12 Cluinn m'urnuigh, a Thighearn, agus éiſd ri m' ghlaodh; ri m' dheoir na bi a'd' thoſd: oir *is* coigreach mi maille riut, *agus* fearcuairt, mar m'aithriche uile.

13 O! caomhain mi [e], chum gu faigh mi neart [f], mun ſiubhail mi, agus nach bi mi ann ni's mò.

SALM XL.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm le Daibhidh.

DH'FHEITH mi le foighidinn ris an Tighearn, agus chrom e thugam [g]; agus chual e mo ghlaodh

2 Agus

a *mo bhròn.* b *tha iadſan a tha nan naimhdibh dhomh gun aobhar làidir.* c *mar ſgàile ſiubhlaidh duine.* d *chruinnicheas.* e *tionndaidh uam.* f *fois, comhfhurtachd.* g *chugam.*

2 Agus thug e nìos a ſlochd ua-
mhuinn mi, a clàbar làthaich, agus
chuir e mo chosan air carraig; ſhoc-
raich e mo cheumanna.

3 Agus chuir e òran nuadh ann
am bheul, òran-molaidh d'ar Dia:
chi mòran *e*, agus bithidh eagal orra,
agus earbaidh iad as an Tighearn.

4 *Is* beannuichte an duine ſin a
chuireas a dhòchas anns an Tighearn,
agus nach ſeall an déigh nan uai-
bhreach[a], no nan déigh-ſan a chlaon-
as chum bréige.

5 *Is* lìonmhor, a Thighearna mo
Dhia, na nithe a rinn thu! t'oibre
iongantach, agus do ſmuainte d'ar
taobh-ne, cha 'n'eil e 'n comas a
chur sìos an ordugh dhuit: nochdainn
agus chuirinn an céill *iad; ach* tha
iad ni's lìonmhoire na gu'n gabh iad
àireamh.

6 Ann an ìobairt agus an tabhart-
as cha do ghabh thu tlachd: dh'fhoſ-
gail thu mo chluasan[b]: ìobairt-
loiſgte agus ìobairt-pheacaidh cha
d'iarr thu.

7 An ſin thubhairt mi, Feuch, tha
mi teachd; ann an rola an leabhair
tha e ſcrìobhta ormſa.

8 Is e mo thlachd do thoil a dhean-
amh, a Dhé; ſeadh, *tha* do lagh an
taobh a ſtigh do m' chridhe.

9 Rinn mi ſgeul air *t*'fhìreant-
achd ſa' choimhthional mhòr: feuch,
cha do choiſg mi mo bhilean, a Thigh-
earn, is aithne dhuit.

10 Cha d'fholuich mi t'fhìreant-
achd ann am meadhon mo chridhe:
chuir mi'n céill t'fhìrinn agus do
ſhlàinte: cha do cheil mi do chaoimh-
neas gràdhach, agus t'fhìrinn, o'n
choimhthional mhòr.

11 A Thighearn, na cum-ſa do
chaomh thròcairean uam: gleidheadh
do chaoimhneas gràdhach agus t'fhì-
rinn a ghnàth mi.

12 Oir dh'iadh uilc gun àireamh
mu'n cuairt orm; ghlac m'eucearta[c]
mi, agus cha 'n'eil e 'n comas domh
fealltuinn ſuas; ni's lìonmhoire tha
iad na falt mo chinn, agus thréig mo
chridhe mi.

13 Gu ma toil leat, a Thighearn,
mo theaſairginn; greas, a Thigh-
earn, chum mo chuideachaidh.

14 Nàire agus amhluadh gu robh[d]
orra-ſan le chéile, a tha 'g iarraidh
m'anama g'a ſgrios: ruagar air an
ais agus naraichear iadſan a tha
guidheadh uilc dhomh.

15 Aonaranach gu robh iadſan[e]
mar thuaraſdal an nàire, a their riumſa,
Aha, Aha!

16 Deanadh iadſan uile a dh'iarras
thuſa, gairdeachas agus aoibhneas ann-
ad: abradh iadſan an còmhnuidh, a
ghradhaicheas do ſhlàinte, Mòr mhol-
adh gu robh do'n Tighearn.

17 *Tha* miſe bochd agus uireaſ-
bhuidheach, *ach* ſmuainichidh an
Tighearn orm: *is* tuſa m'fhear-cabh-
air, agus m'fhear-ſaoraidh; a Dhé,
na dean moille.

SALM XLI.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm le
Daibhidh.

IS beannuichte eſan a bheir an aire
do'n duine bhochd[f]: ann an
latha an uilc[g] ſaoraidh an Tighearn
e.

2 Gleidhidh an Tighearn e, agus
cumaidh e beo e, agus bithidh e bean-
nuichte air thalamh: na tabhair thuſa
e do thoile a naimhde[h].

3 Bheir an Tighearna neart dha
air leabaidh a thinneis iarganaich:
a leabadh uile ni thuſa dha na eu-
ſlainte:

4 Thubhairt mi, A Thighearn,
dean tròcair orm: leighis m'anam,
oir pheacaich mi a'd' aghaidh.

5 Tha mo naimhdean a' labhairt
uilc orm, *ag ràdh*, C'uin a gheibh e
bàs, agus a ſgriosar 'ainm?

6 Agus ma thig *neach* g'am
fhealltuinn, labhraidh e dìomhanas;
carnaich[i] a chridhe euceart dha
féin; théid e mach, agus labhraidh
ſe *e*.

7 Tha

a *nach tionndaidh chum nan uaibhreach, nach gabh tlachd anns na h-uaibh-
rich.* b *dheaſuich thu corp dhomh.* c *m'àmhgharan.* d *bithidh.*
e *di-làraichear iad, gu robh iad ſo uambunn.* f *iosal.* g *ann an àm
teinn.* h *agus beannuichidh e air thalamh e, agus cha tabhair e do
thoil a naimhdean e.* i *cruinnichidh.*

7 Tha iadſan uile aig am bheil
fuath dhomh a' cogarſaich le chéile
a'm' aghaidh: tha iad a' dealbh uile
a'm' aghaidh.
8 Tha droch ni, *ars' iadſan*, air
teachd air [a]; agus eſan a tha nis na
luidhe, cha 'n éirich e ni 's mò.
9 Eadhon fear mo ſhìth [b], as an
d'earb mi, eſan a dh'ith do m' aran,
thog e *a* ſhàil a'm' aghaidh.
10 Ach deanſa, a Thighearn, tròc-
air orm, agus tog ſuas mi, agus bheir
mi luigheachd dhoibh.
11 Le ſo tha fios agam gu bheil
tlachd agadſa annam, a chionn nach
'eil mo nàmhaid *a'* deanamh caith-
reim [c] os mo cheann.
12 Ach air mo ſhonſa, cumaidh
tu ſuas mi ann am ionracas, agus
ſuidhichidh tu mi a'd' fhianuis gu
bràth.
13 Beannuichte gu *robh* an Tigh-
earna Dia Iſraeil, o ſhìorruidheachd
gu sìorruidheachd! Amen agus A-
men!

SALM XLII.

Do'n ard fhear-ciuil, Maſchil, air
ſon mhac Chorah.

MAR a thogras am fiadh chum
nan ſruth uiſge, mar ſin tha
m'anam a'togairt a'd' ionnſuidhſe, a
Dhé.
2 Tha tart air m'anam chum Dhé,
chum an Dé bheo: c'uin a thig mi,
agus a nochdar mi am fianuis Dhé [d]?
3 Is iad mo dheoir a's biadh
dhomh a là agus a dh'oidhche, 'nuair
a theirear rium gach là, C'àit *am bheil*
do Dhia?
4 Na *nithe* ſo is cuimhne leam,
agus tha mi dòrtadh a mach m'an-
ama leam féin; oir ghabh mi thairis
leis a' mhòr-cuideachd, chaidh mi
leo gu tigh Dhé, le fuaim gairdeach-
ais agus molaidh, *leis* a' chuideachd
a bha cumail latha féille [e].
5 C'ar ſon a tha thu air do leagadh
sìos, O m'anam? agus c'ar ſon a tha
thu fo bhuaireas [f] an taobh a ſtigh
dhìom? earb thuſa a Dia; oir fath-
aſt molaidh miſe e, ſlàinte mo ghnùiſe [g],
agus mo Dhia.
6 Leagadh sìos m'anam an taobh
a ſtigh dhìom: uime ſin cuimhnich-
idh mi ortſa, mo Dhia, o thìr Ior-
dain, agus o Hermon, o ſhliabh Mhit-
fair.
7 *Tha* doimhne a' gairm air
doimhne le fuaim t'fheadan uiſge;
chaidh do ſtuaidhean [h] agus do thonn-
an uile tharum.
8 Anns an là àithnidh an Tighearn
a thròcair [i]; agus ſan oidhche *bithidh*
a laoidh maille rium, agus m'ùrnuigh
ri Dia mo bheatha.
9 Their mi ri Dia mo charraig,
C'ar ſon a dhì-chuimhnich thu mi?
c'ar ſon a tha mi a' triall gu dubhach
air ſon fòirneirt an eaſcaraid?
10 Mar chlaidheamh a'm' chnàmh-
aibh, tha mo naimhdean a' toirt maſ-
laidh dhomh, 'nuair a their iad rium
gach là, C'àit *am bheil* do Dhia?
11 C'ar ſon a tha thu air do leag-
adh sìos, O m'anam? agus c'ar ſon
a tha thu fo bhuaireas an taobh a
ſtigh dhìom? earb thuſa a Dia; oir
fathaſt molaidh miſe e, ſlàinte mo
ghnùiſe, agus mo Dhia.

SALM XLIII.

THOIR breth orm [l], a Dhé, agus
tagair mo chùis: o chinneach
an-iochdmhor; [k] o 'fhear na ceilge
agus na h-eucoirt, ſaor thuſa mi.
2 Oir *is* tuſa Dia mo neirt; c'ar
ſon a chuir thu mi fad uait? c'ar ſon
a tha mi a' triall gu dubhach air ſon
fòirneirt an eaſcaraid?
3 O cuir a mach do ſholus agus
t'fhìrinn! feòladh iadſan mi, thug-
adh iad mi chum do ſhléibh naomha-
ſa, agus chum do phàilliunn.
4 An ſin théid mi dh'ionnſuidh
altaire Dhé, a dh'ionnſuidh Dhé
m'aoibhneis-

a *tha droch thinneas a' dlùth-leantuinn ris; tha mòr chionta air a chur as a leth.* b *mo cha'aid.* c *gairdeachais.* d *a chì mi gnùis Dhé.*
e *Na* nithe *ſo cuimhnichidh mi, agus taomaidh mi mach m'anam an taobh a ſtigh dhìom, 'nuair a ghabhas mi thairis leis a' mhòr chuideachd, a théid mi leo, &c.* f *mhi-ſhuaimhneas.* g *air ſon furtachd a ghnùiſe.*
h *do ſhùmainnean.* i *a chaoimhneas.* l *Cum còir rium.* k *mi-naomha, aindiadhuidh.*

m'aoibhneis ro-mhòir[a]: agus mol-
aidh mi thu air a' chlàrſaich, a Dhia,
mo Dhia.
5 C'ar ſon a tha thu air do leag-
adh sìos, O m'anam? agus c'ar ſon a
tha thu ſo bhuaireas an taobh a ſtigh
dhìom? earb thuſa a Dia; oir fath-
aſt molaidh miſe e, ſlàinte mo ghnùiſe,
agus mo Dhia.

SALM XLIV.

Do'n ard fhear-ciuil, air ſon mhac
Chorah, Maſchil.

ADHE, le'r cluaſaibh chuala
ſinn, dh'innis ar n-aithriche
dhuinn an obair a rinn thu nan làith-
ibh-ſan, ſna laithibh o ſhean.
2 Le d' làimh thilg thu mach na
cinnich, ach ſhuidhich thu iadſan:
chlaoidh thu na ſlòigh, ach thug thu
orra-ſan ſoirbheachadh[b].
3 Oir cha'n ann le'n claidheamh
féin a fhuair iad ſealbh ſan tìr, agus
cha'n e an gairdean féin a ſhaor iad;
ach do dheas làmh, agus do ghair-
dean-ſa, agus ſolus do ghnùiſe, a
chionn gu'n robh deadh-ghean agad
doibh.
4 *Is* tu féin mo Righ, a Dhé
àithn thuſa ſaorſa do Iacob.
5 Trìd-ſa buailidh ſinn ar naimh-
de; trìd t-ainme-ſa ſaltraidh ſinn
orra-ſan a dh'éireas 'nar n-aghaidh.
6 Oir as mo bhogha cha'n earb
mi, agus cha ſaor mo chlaidheamh
mi.
7 Ach ſhaor thuſa ſinn o ar naimh-
dibh, agus nàirich thu iadſan aig an
robh fuath dhuinn.
8 A Dia ni ſinne uaill air feadh
là; agus t'ainm-ſa molaidh ſinn
gu ſiorruidh. Selah.
9 Ach a nis thilg thu uait ſinn,
agus nàirich thu ſinn; agus cha 'n'eil
thu dol a mach le'r n-armailtibh.
10 Thug thu oirnn tionndadh air
ar n-ais o'n nàmhaid, agus tha iadſan
le'm fuathach ſinn 'gar creachadh[c].
11 Thug thu ſinn mar chaoraich
air ſon bìdh; agus am meaſg nan
cinneach ſgap thu ſinn.
12 Reic thu do ſhluagh gun fhiach,
agus cha do mheudaich thu *do mhaoin*
le'n luach[d].
13 Rinn thu ſinn 'nar maſladh
d'ar coimhearſnachaibh, 'nar ball-
fanoid agus magaidh dhoibhſan a tha
mu'n cuairt oirnn.
14 Rinn thu gnàth-fhocal dhinn
am meaſg nan cinneach, aobhar
crathaidh cinn am meaſg an t-ſluaigh.
15 Fad an latha[e] *tha* m'amhluadh
a'm' fhianuis, agus chòmhdaich nàire
mo ghnùiſe mi[f].
16 Air ſon gutha an fhir a bheir
maſladh agus toibheum, air ſon fia-
nuis an nàmhaid agus an dioghalt-
aich.
17 Thàinig ſo uile oirnn; gidh-
eadh, cha do dhì-chuimhnich ſinn
thu, agus cha d'rinn ſinn cealg ann
ad choimhcheangal.
18 Cha do thionndaidh ar cridhe
air ais, agus cha do chlaon ar *cos o*
d' ſhlighe:
19 Ge do mhìn-phronn thu ſinn
ann an ionad dhràgon, agus ge do
chòmhdaich thu ſinn le ſgàil a' bhàis.
20 Ma dhì-chuimhnich ſinn ainm
ar Dé, no ma ſhìn ſinn ar làmha gu
Dia coimheach,
21 Nach rannſaich Dia ſo a mach?
oir tha fios aige-ſan air *nithibh* dìo-
mhair a' chridhe.
22 Ach air do ſhon-ſa mharbhadh
ſinn rè an latha gu léir; mheaſadh
ſinn mar chaoraich chum caſgraidh.
23 Moſgail; c'ar ſon a chodaileas
tu, a Thighearn? dùiſg, na tilg *ſinn*
uait gu bràth.
24 C'ar ſon a dh'fholaicheas tu do
ghnùis? a dhì-chuimhnicheas tu ar
n-àmhghar, agus ar foirneart?
25 Oir chromadh ſìos ar n-anam
do'n ùir; dhlùth-lean ar com[g] ris
an talamh.
26 Eirich, cuidich leinn, agus ſaor
ſinn air ſgàth do thròcaire.

SALM

a m'*aoibhneis* agus *mo ghairdeachais*. b *rinn thu olc do na ſloigh, ach chuir thu iadſan an* tìr *thàruinte*. c *a' creachadh dhoibh féin*. d *pris*. e *A ghnàth*. f *tha ar n-amhluadh 'nar fianuis, agus chòmhdaich nàire ar gnùiſe ſinn*. g *brù*.

SALM XLV.

Do'n ard fhear-ciuil air Soſanim air ſon mhac Chorah, Maſchil. Oran gràidh.

THA mo chridhe a' deachdadh [a] deadh ni; cuiridh mi 'n céill na nithe a rinn mi do'n Righ [b]; *bithidh* mo theanga mar pheann fir-ſcriobhaidh dheis.

2 Is maiſiche thu na clann nan daoine; dhòirteadh gràs ann ad bhilibh: uime ſin bheannuich Dia thu gu bràth.

3 Crioſlaich [c] do chlaidheamh air do leis, O a ghaiſgeich; le d' ghlòir, agus le d' mhòralachd.

4 Marcaich [d] air t'aghaidh gu buadhach air ſgàth na firinn, agus na macantachd [e], agus na fireantachd; agus teagaiſgidh do dheas làmh dhuit nithe uamhaſach.

5 *Is* geur do ſhaighdean, (tuitidh na ſlòigh fodhad) *is geur iad* ann an cridhe naimhdean an Righ.

6 *Tha* do righ-chaithir, a Dhé, gu ſaoghal nan ſaoghal: *is* ſlat cheartais ſlat-ſhuaicheantais do rioghachd-ſa.

7 Ghràdhaich thuſa fireantachd, agus thug thu fuath do aingidheachd; uime ſin dh'ung Dia, do Dhia-ſa, thu le h-oladh aoibhneis os cionn do chompanach.

8 Do mhirr, agus do aloe, agus do chaſia, *théid boladh* o d' thruſgan uile, a mach a lùchairtibh do fhiaclaibh elephant [f], leis an do chuireadh aoibhneas ort.

9 *Tha* nigheana righre am meaſg do bhan-urramach; ſeaſaidh do bhan-righinn air do dheas làimh, ann an òr na h-Ophir.

10 Eiſd, a nighean, agus amhairc, agus aom do chluas; agus di-chuimhnich do ſhluagh féin agus tigh t'athar.

11 An ſin gabhaidh an Righ mòr thlachd ann ad àille [g] a chionn gur eſan do Thighearn, thoir-ſa urram [h] dha.

12 *Thig* eadhon nighean Thiruis le tiodhlacadh; aſluichidh daoine ſaibhir an t-ſluaigh do dheadh-ghean.

13 Uile glòrmhor *tha* nighean an righ a ſtigh; air oibreachadh le h-òr *tha* a h-eudach.

14 Ann an truſgan do obair ghréis bheirear i chum an Righ: bheirear na maighdeana na déigh, a bana-chompanaich, a ſteach thugad [i].

15 Bheirear iad le h-aoibhneas agus le gairdeachas; théid iad a ſteach do lùchairt an Righ.

16 An àite t'aithriche bithidh do mhic; ni thu iad nan uachdaranaibh air an talamh uile.

17 Bheir mi air t'ainm a bhi air chuimhne anns gach linn a thig: uime ſin molaidh an ſluagh thu gu ſaoghal nan ſaoghal.

SALM XLVI.

Do'n ard fhear-ciuil air ſon mhac Chorah. Oran air Alamot.

IS e Dia ar tearmunn agus ar neart; ar cabhair ro-dheas ann an teanntachdaibh.

2 Air an aobhar ſin cha bhi eagal oirnn, ge do ghluaiſear [j] an talamh, agus ge d'atharruichear na beannta gu meadhon na fairge:

3 Ge do bheuc a h-uiſgeacha, agus ge do chuirear thar a chéile iad; ge do chriothnuich na beannta le a h-ataireachd. Selah.

4 *Tha* abhuinn [k] ann, *agus* ni a ſruthan cathair [l] Dhé ait; naomh-ionad phàilliun an Ti a's airde.

5 *Tha* Dia na meadhon; cha ghluaiſear i: cuidichidh Dia leatha gu moch air mhaduinn.

6 Ghabh na cinnich boile, ghluaiſeadh na rìoghachdan: chuir e mach a ghuth, leagh an talamh.

7 *Tha* Dia nan ſlògh leinn; is e Dia Iacoib a's didean duinn. Selah.

8 Thigibh,

a *cur amach.* b *mu'n Righ.* c *Crioſraich, Deaſaich.* d *Ann ad mhòralachd marcaich.* e *ceannſachda.* f *air an deanamh maiſeach le fiaclaibh elephant.* g *àilne, ſgèimh.* h *ùmhlachd, aoradh.* i *chugad.* j *mhùthar, chaochailear.* k *amhuinn.* l *mòr-bhaile.*

8 Thigibh, faicibh oibre an Tighearna, gach leir-ſgrios[a] a rinn e air thalamh.

9 Coiſgidh e an cogadh gu h-iomall na talmhainn, briſidh e am bogha, agus gearraidh e an t-ſleagh: na carbadan-cogaidh loiſgidh e le teine.

10 Bithibh sàmhach, agus tuigibh gur miſe Dia: ardaichear mi am meaſg nan cinneach, ardaichear mi air thalamh.

11 *Tha* Dia nan ſlògh leinn; *is* e Dia Iacoib a's dìdean duinn. Selah.

SALM XLVII.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm air ſ(on) mhac Chorah.

BUAILIBH bhur baſan, uile ſhlòigh; togaibh iolach do Dhia le guth gairdeachais[b].

2 Oir *tha*'n Tighearn, an Ti a's airde, na aobhar eagail: *is* Righ mòr e os cionn na talmhainn uile.

3 Cuiridh e na ſlòigh fa'r ſmachd, agus na cinnich fa'r coſaibh.

4 Taghaidh e ar n-oighreachd dhuinn, òirdheirceas[c] Iacoib, a ghràdhaich e. Selah.

5 Chaidh Dia ſuas le caithreim, an Tighearna le fuaim trompaide.

6 Seinnibh moladh do Dhia, ſeinnibh; ſeinnibh moladh d'ar Righ, ſeinnibh:

7 Oir *is* e Dia righ na talmhainn uile; ſeinnibh moladh gu h-eòlach.

8 Tha Dia na Righ os cionn nan cinneach: tha Dia na ſhuidhe air righ-chaithir a naomhachd.

9 Chruinnicheadh uachdarain nan ſluagh le chéile, ſluagh Dhé Abrahaim: oir *is* le Dia ſgiatha na talmhainn; tha e air 'ardachadh gu mòr.

SALM XLVIII.

Oran *agus* Salm air ſon mhac Chorah.

IS mòr an Tighearn, agus is ro-airidh air cliù e ann am baile[d] ar Dé, ann an ſliabh a naomhachd.

2 Sgiamhach na ſhuidheachadh, aoibhneas na talmhainn uile *is* e ſliabh Shioin: air an taobh mu thuath *tha* baile[e] an Righ mhòir.

3 Aithnichear Dia na lùchairtibh mar thearmunn.

4 Oir feuch, chruinnicheadh na righre; ghabh iad thairis le chéile.

5 Chunnaic iad, agus b'ioghnadh leo; bha uamhas orra, ghreas iad orra.

6 Ghlac geilt-chrith iad an ſin, pian mar phéin mnà ri ſaothair.

7 Le gaoith an ear min bhriſidh tu longa Tharſis

8 Mar a chuala ſinn, is amhuil a chunnaic ſinn ann am baile Thighearna nan ſlògh, ann am baile ar Dé: daingnichidh ſe e gu bràth. Selah.

9 Smuainich ſinn air do chaoimhneas gràidh, a Dhé, ann am meadhon do theampuill.

10 Mar t'ainm, a Dhé, mar ſin a *ta* do chliù gu crìochaibh na talmhainn: tha do dheas làmh làn do fhìreantachd.

11 Deanadh ſliabh Shioin aoibhneas, deanadh nigheana Iudah gairdeachas, air ſon do bhreitheanaſa.

12 Cuairtichibh Sion, agus rachaibh m'a timchioll; àirmhibh a túir.

13 Thugaibh an aire d'a balladh làidir[f], comharaichibh a lùchairtean[g], chum gu cuir ſibh an céill *e* do'n àl ri teachd.

14 Oir *is* e an Dia ſo ar Dia-ne gu ſaoghal nan ſaoghal: ſtiùraidh e ſinn gu ruig am bàs[h].

SALM XLIX.

Do'n ard fhear-ciuil, Salm air ſon mhac Chorah.

CLUINNIBH ſo, a ſhlòigh uile, éiſdibh, *ſibhſe* uile luchd-àiteachaidh an domhain,

2 Araon a dhaoine ìoſal agus ard, beartach agus bochd le chéile.

3 Labhraidh mo bheul gliocas[i], agus ſmuaintichidh mo chridhe air tuigſe[j].

4 Aomaidh mi gu coſamhlachd mo chluas; nochdaidh[k] mi air a' chlàrſaich

a *na nithe uamhaſach.* b *caithreime.* c *mòrachd.* d *mòrbhaile, cathair.* e *cathair.* f *d'a daingneachd, d'a neart.* g *caiſteatan.* h *gu bràth.* i *nithe glice.* j *nithibh tuigſeach.* k *foſgailidh.* Eabh.

chlàrſaicn mo ràdh dorcha.
5 C'ar ſon a bhiodh eagal orm
ann an laithibh an uilc, *'nuair* a
chuairticheas aingidheachd m'eaſ-
caìrdean [a] mi,
6 A dh'earbas as an ſaibhreas, a-
gus a ni uaill a pailteas am beart-
ais?
7 Cha'n urrainn duine air chor
ſam bith *a* bhràthair a ſhaoradh, no
éiric a thabhairt do Dhia air a ſhon:
8 (Oir tha ſaorſa an anama luach-
mhor, agus ſguiridh e am feaſd:)
9 Gu maireadh e beo gu sìorruidh,
agus nach faiceadh e truaillidh-
eachd [b].
10 Oir chi e *gu*'m faigh na daoine
glice bàs, *gu*'n ſgrioſar le chéile an
t-amadan agus an t-ùmaidh, agus
gu'm fàg iad am beartas aig daoinibh
eile.
11 *Is* iad ſmuaintean an cridhe
gu mair an tighean gu bràth, an ion-
ada-còmhnuidh ó linn gu linn: bheir
iad ainm air *am* fearann, a réir an
ainme féin.
12 Ach *ge do robh* an duine ann
an urram, cha mhair e [c]: is coſ-
mhuil e ris na h-ainmhidhibh, *a* ghear-
rar as.
13 *Is* i ſo an ſlighe, eadhon an
amaideachd: gidheadh gabhaidh an
ſliochd tlachd nan cainnt. Selah.
14 Mar chaoraich cuirear iad ſan
uaigh, ithidh am bàs iad [d], agus bith-
idh uachdaranachd aig na fireanaibh
os an cionn anns a' mhaduinn: fearg-
aidh [e] an dreach as ſan uaigh, an
ionad-còmhnuidh [f].
15 Ach ſaoraidh Dia m'anam-ſa
o chumhachd [g] na h-uaighe; oir
gabhaidh e mi d'a ionnſuidh. Se-
lah.
16 Na gabh thuſa eagal an uair
a dh'fhàſas duine beartach, 'nuair a
mheudaichear glòir a thighe:
17 Oir 'nuair a gheibh e bàs, cha
dthoir e ni air bith leis; cha dthéid
a ghlòir sìos na dhéidh:
18 Ge do bheannuich e 'anam *féin*,
'nuair a tha e beo; agus molar thuſa,
'nuair a ni thu maith dhuit féin [h].
19 Théid e gu h-àl a ſhinnſear:
gu bràth cha'n fhaic iadſan ſolus.
20 Tha 'n duine, *a tha* ann an
urram, agus a tha gun tuigſe, coſ-
mhuil ris na h-ainmhidhibh *a* ghearr-
ar as.

SALM L.

Salm le Aſaph.

LABHAIR Dia nan Dia [i], Ie-
hobhah, agus ghairm e an ta-
lamh o éirigh gu ruig luidhe gréine.
2 A mach a Sion, iomlaine na
maiſe, dhealruich Dia.
3 Thig ar Dia-ne, agus cha bhi e
na thoſd: roimh a ghnùis laſaidh
teine millteach [j], agus mu'n cuairt
air bithidh doinionn mhòr.
4 Gairmidh e air na nèamhaibh
o'n airde, agus air an talamh, chum
breth a thoirt air a ſhluagh.
5 Cruinnichibh mo naoimh a m'
ionnſuidh, iadſan a rinn coimhchean-
gal rium le h-ìobairt.
6 Agus cuiridh na nèamhan an
céill a cheartas; oir *is* e Dia féin a's
Breitheamh ann. Selah.
7 Eiſdibh, O mo ſhluagh, agus
labhraidh mi; O Iſrael, agus ni mi
fianuis a't' aghaidh [k]: *is* miſe Dia,
do Dhia-ſa.
8 Air ſon t'ìobairtean cha'n agair
mi thu; oir *tha* t'ìobairtean-loiſgte
a ghnàth a'm' fhianuis.
9 Cha ghabh mi tarbh òg as do
thigh, *no* gabhair fhirionn as do
mhainniribh [l].
10 Oir *is* leamſa uile bheathaiche
na coille, an ſpréidh air mìle ſliabh.
11 Is aithne dhomhſa uile eunlaith
nam beann [m]; agus *is* leamſa fiadh-
bheathaiche na macharach.
12 Na'm bithinn ocrach, cha'n
innſinn duitſe; oir *is* leamſa an domh-
an, agus a làn.

13 An

a *aingidheachd luchd-feall: lochd mo ſhàl.* b *Ach mairidh eſan* [an t-aon naomha] *beo gu sìorruidh; cha'n fhaic e truaillidheachd.* c *tha e gun tuigſe.* d *ionaltraidh am bàs orra.* e *agus feargaidh.* f *ó'n ionad-còmhnuidh.* g *o làimh.* Eabh. h *agus ge do mhol e thuſa, 'nuair a ni thu maith dha.* i *an Dia treun.* j *caithidh teine, ithidh teine ſuas.* Eabh. k *mu d' thimchioll, dhuit.* l *chrothaibh.* m *eunlaith an athair.*

13 An e gu'n ithinn feoil tharbh? agus an òlainn fuil ghabhar?

14 Iobair ìobairt bhuidheachais do Dhia, agus ìoc do bhòidean do'n Ti a's airde.

15 Agus gairm orm ann an latha teanntachd: ſaoraidh miſe thu, agus bheir thuſa glòir dhomhſa.

16 Ach ris an droch dhuine their Dia, Ciod e do ghnothuchſa mo reachdan [a] a chur an céill, no gu'n gabhadh tu mo choimhcheangal ann ad bheul;

17 'Nuair ata fuath agad air fògh-lum, agus a thilg thu mo bhriathran air do chùl?

18 Ma chunnaic thu gaduiche, dh'aontaich thu leis [b]; agus maille ri luchd adhaltrannuis bha do chui-bhrionn.

19 Chuir thu do bheul chum uilc, agus dhealbh do theanga cealg.

20 Shuidh thu, *agus* an aghaidh do bhràthar labhair thu; agus do mhac do mhàthar thug thu beum [c].

21 Na *nithe* ſo rinn thu, agus bha miſe a'm' thosd; ſhaoil thu gu'n robh mi gu tur mar thu féin: cronaichidh mi thu, agus cuiridh mi *gach ni* an ordugh fa chomhair do ſhùl.

22 Smuainichibh a nis air ſo, ſibhſe nach cuimhnich Dia; air eagal gu'n reub mi as a chéile, gun neach ann a theaſairgeas.

23 Eſan a dh'ìobras moladh, bheir e glòir dhomhſa; agus dhaſan a dh'orduicheas *a* ſhlighe, nochdaidh mi [d] ſlàinte Dhé.

SALM LI.

Do'n ard fhear-ciuil, Salm le Daibhidh, 'nuair a thàinig Natan am fàdh d'a ionnſuidh, an déigh dha bhi aig Batſeba.

DEAN tròcair orm, a Dhé, a réir do chaoimhneis gràidh; a réir lìonmhoireachd do chaomh thròcair-ean [e], dubh as m'euſaontas.

2 Gu h-iomlan ionnail mi o m' lochd, agus glan mi o m' pheac-adh:

3 Oir tha mi ag aideachadh m'euſ-aontais, agus *tha* mo pheacadh a'm' làthair a ghnàth.

4 A't'aghaidh, a't'aghaidh féin a mhàin pheacaich mi, agus rinn mi olc a'd' ſhealladh, air chor as gu'm fireanaichear thuſa 'nuair a labhras tu, gu'm bi thu glan 'nuair a bheir thu breth.

5 Feuch, ann an euceart dhealbh-adh mi, agus ann am peacadh ghabh mo mhàthair mi na broinn.

6 Feuch, is ionmhuinn leat an fhìrinn ſan taobh a ſtigh [f]; agus ſan *ionad* fholuichte bheir thu orm gliocas a thuigſinn.

7 Glan mi le hiſop, agus bithidh mi glan; ionnail mi, agus bithidh mi ni's gile na ſneachda.

8 Thoir orm guth ſubhachais agus aoibhneis a chluinntinn; agus ni na cnàmhan *a* bhris thu gairdeachas.

9 Foluich do ghnùis o'm' pheac-aibh, agus dubh as m'eucearta gu léir.

10 Cruthaich annam cridhe glan, a Dhé; agus ath-nuadhaich ſpiorad ceart an taobh a ſtigh dhìom.

11 Na tilg mi o d' ſhealladh, agus na toir do ſpiorad naomha uam.

12 Aiſig dhomh gairdeachas do ſhlàinte, agus *le d'* ſpiorad ſaor cum ſuas mi:

13 Teagaiſgidh mi do luchd-euſ-aontais do ſhlighean; agus iompoich-ear peacaich a t' ionnſuidh.

14 Saor mi o chionta fola, a Dhé, a Dhé mo ſhlàinte: ard-mholaidh mo theanga t'fhìreantachd.

15 A Thighearn, foſgail mo bhil-ean, agus cuiridh mo bheul an céill do chliu.

16 Oir cha'n iarr thu ìobairt, no bheirinn dhuit *i*; ann an ìobairt-loiſgte cha 'n'eil tlachd agad.

17 *Is* iad ìobairtean Dhé ſpiorad briſte: air cridhe briſte agus brùite, a Dhé, cha dean thuſa tàir.

18 Dean maith, a'd' dheadh-ghean, do Shion; tog ſuas ballacha Ieru-ſaleim.

19 An ſin taitnidh ìobairtean ion-racais riut, ìobairtean-loiſgte agus làn

a *ſtàtuin.* b *ruith thu leis.* c *maſladh.* d *agus is i ſo an t-ſlighe air an nochd mi dha.* e *do thruacantais.* f *ſna h-airnibh.*

làn ìobairtean loifgte: an fin ìobraidh
iad tairbh òga air t'altair.

SALM LII.

Do'n ard fhear-ciuil, Mafchil le Daibhidh, 'nuair a thàinig Doeg an t-Edomach, agus a dh'innis e do Shaul, agus a thubhairt e ris, Thàinig Daibhibh gu tigh Ahimeleich.

C'ARSON a ni thu uaill as an
olc, O ghaifgich? *Mairidh*
maitheas Dé a ghnàth [a].
2 Dealbhaidh do theanga aimh-
leas, mar ealtuinn ghéir, ag oib-
reachadh ceilge.
3 Is annfa leat an t-olc na maith,
a' bhreug na briathran a' cheartais.
Selah.
4 Is ionmhuinn leat gach focal
millteach, an teanga chealgach [b].
5 Uime fin [c] fgriofaidh Dia thu gu
bràth: bheir e air falbh thu, agus
tairngidh e as [do] phàilliun thu, a-
gus fpìonaidh e do fhreumhan a tìr
nam beo. Selah.
6 Agus chi na fireana, agus bith-
idh eagal orra, agus ni iad gàire uime,
ag ràdh,
7 Feuch, fo am fear nach d'rinn
a neart do Dhia, ach a dh'earb a
pailteas a bheartais, agus a neartaich
e féin na aingidheachd.
8 Ach *bithidh* mife mar chrann-
olaidh uaine ann an tigh Dhé; earb-
aidh mi a tròcair Dhé gu faoghal
nan faoghal.
9 Molaidh mife thu gu sìorruidh,
a chionn gu'n d'rinn thu *e*; agus
feithidh mi air t'ainm-fa, oir *tha* e
maith an làthair do naomh.

SALM LIII.

Do'n ard fhear-ciuil, air Mahalat, Mafchil le Daibhidh.

THUBHAIRT an t-amadan na
chridhe, Cha '*n'eil* Dia ann:
tha iad truaillidh, agus rinn iad ain-
gidheachd ghràineil; cha '*n'eil* neach
ann a ni maith.
2 Dh'amhairc Dia a nuas o nèamh
air cloinn nan daoine, a dh'fheuch-
ainn an robh neach ann a bha glic,
a bha 'g iarraidh Dhé.
3 Chaidh gach aon diubh air ais;
tha iad gu léir air fàs falach: cha
'*n'eil* neach ann a ni maith, cha '*n'eil*
eadhon aon.
4 Nach 'eil eòlas aca-fan a tha
deanamh na h-eucorach, a tha 'g ith-
eadh fuas mo fhluaigh, mar a dh'ith-
eadh iad aran, *agus* nach gairm air
Dia?
5 An fin ghabh iad eagal mòr,
'nuair nach robh aobhar eagail ann;
fgaoil Dia a chnàmha-fan o chéile a
champuich *a'd' aghaidh*: nàirich thu
iad, a chionn gu'n d'rinn Dia tàir
orra.
6 O gu dthigeadh flàinte Ifraeil
a mach a Sion! An uair a bheir Dia
air ais braighdeanas a fhluaigh, ni
Iacob gairdeachas, ni Ifrael aoibh-
neas.

SALM LIV.

Do'n ard fhear-ciuil air Neginot, Mafchil le Daibhidh, 'nuair a thàinig na Siphich, agus a thubhairt iad ri Saul, Nach 'eil Daibhidh 'ga fholach féin maille ruinne?

AIR fgàth t'ainme, a Dhé, faor
thufa mi, agus le d' chumh-
achd cum cothrom rium.
2 Cluinn m'ùrnuigh, a Dhé; éifd
ri briathraibh mo bheoil.
3 Oir dh'éirich coigrich [d] a'm'
aghaidh, agus dh'iarr luchd foirneirt
mo bheatha; cha do chuir iad Dia
fa'n comhair. Selah.
4 Feuch, *is* e Dia m'fhear-cuid-
eachaidh: *tha*'n Tighearna dhiubh-
fan [e] a chumas fuas mo bheatha.
5 Dìolaidh e olc do m' naimhdibh:
a't' fhìrinn gearr as iad.
6 Le faor thoil bheir mi ìobairt
dhuit; molaidh mi t'ainm, a Thigh-
earn, oir *tha e* maith.
7 Oir fhaor thu mi as gach teinn:
agus chunnaic mo fhùil *mo mhiann*
air mo naimhdibh.

a *gach là*. Eabh. b *a theanga chealgaich*. c *Mar an ceudna*.
d *na h-naibhrich*. e *nam-meafg-fan*, *leo-fan*.

SALM LV.

Do'n ard fhear-ciuil, air Neginot, Mafchil le Daibhidh.

EISD, a Dhé, ri m'ùrnuigh, agus na foluich thu féin o m'afluchadh.

2 Thoir aire dhomh, agus éifd rium: tha mi ard ann am ghearan, agus ri bùireadh:

3 Air fon gutha m'eafcaraid, air fon foirneirt an duine aingidh; oir tha iad a' tilgeadh euceirt orm, agus am feirg tha iad a' toirt fuatha dhomh.

4 Tha mo chridhe air a chràdh an taobh a ftigh dhìom, agus thuit uamhafan a' bhàis orm.

5 Thàinig eagal agus crith orm, agus chòmhdaich uamhann mi.

6 Agus thubhairt mi, Och, nach robh agam fgiathan! mar choluman theichinn as air iteig, agus gheibhinn fois.

7 Feuch, fhiùbhlainn fad as; chòmhnuichinn anns an fhàfach. Selah.

8 Dheanainn deifir [a] gu dol as o ghaoith làidir [b], agus o'n doininn.

9 Sgrios, a Thighearn, *agus* roinn an teanga [c]; oir chunnaic mi foirneart agus confachadh fa' bhaile.

10 A là agus a dh'oidhche tha iad a' dol mu'n cuairt air, air a bhallaibh; agus *tha* euceart agus aimhleas na mheadhon.

11 *Tha* aingidheachd na mheadhon; agus cha dealaich feall agus cealg r'a fhràidibh.

12 Oir cha bu nàmhaid *a* thug mafladh dhomh, no dh'fhuilginn *e;* cha b'e fear le 'm b'fhuathach mi *a* dh'ardaich e féin a'm' aghaidh, no dh'fholaichinn mi féin uaith:

13 Ach thufa! fear bu choimpire dhomh féin [d], fear m'iuil, agus fear m'eòlais.

14 Le chéile ghabh finn comhairle bhlafta; gu tigh Dhé dh'imich finn cuideachd.

15 Gabhadh am bàs fealbh orra, rachadh iad sìos beo do'n uaigh [e]; oir *a ta* uile nan àite-còmhnuidh, nam meadhon.

16 Glaodhaidh mife ri Dia agus faoraidh Iehobhah mi.

17 Air feafgair, air maduinn, agus aig meadhon-là ni mi ùrnuigh, agus glaodhaidh mi gu h-ard; agus eifdidh efan ri m' ghuth.

18 Saoraidh [f] e m'anam ann an sìth o'n chòmhrag a'm' aghaidh; oir is lìonmhor iad a tha *ftì* rium [g].

19 Eifdidh Dia, agus bheir e nuas iad, eadhon efan a tha ann o chian. Selah: oir cha *'n'eil* atharrachadh orra, agus cha *'n'eil* eagal Dé orra.

20 Shìn e mach a làmh nan aghaidh-fan a bha an sìth ris; bhris e a choimhcheangal.

21 Bu mhìne na im *focail* a bhéil, ach *bha* cogadh na chridhe; bu bhuige a bhriathra na oladh, ach *bu* chloidhean rùifgte iad.

22 Tilg air an Tighearna do chùram [h], agus cumaidh efan fuas thu: cha leig e am feafd do'n fhìrean a bhi air a ghluafad.

23 Ach tilgidh tufa, a Dhé, sìos iad gu flochd an fgrios: cha mhair daoine fuileachdach agus cealgach leth an laithean; ach cuiridh mife 'mo dhòigh annadfa.

SALM LVI.

Do'n ard fhear-ciuil air Ionatelimrechocim, Michtam le Daibhidh, an uair a ghlac na Philiftich e ann an Gat.

DEAN iochd orm, a Dhé; oir b'àill le duine mo fhlugadh fuas [i]: tha e 'gam fhàruchadh gach là le cogadh.

2 B'àill le m'eafcairdibh mo fhlugadh fuas gach là; oir *is* lìonmhor iad a tha cogadh rium o *ionad* ard [j].

3 San là air am bi eagal orm, earbaidh mi afadfa.

4 Ann an Dia molaidh mi 'fhocal; ann an Dia chuir mi mo dhòigh; cha'n eagal leam ciod a dh'fheudas feoil a dheanamh orm.

5 Gach là [k] tha iad a' fiaradh mo bhriathar; *tha*'n fmuainte uile a'm' aghaidh chum uilc.

6 Tha

a *cabhag.* b *anvrathaich, bhuaireafaich.* c *comhairle.* d *a réir mo choflais féin, a réir mo chridhe féin.* e *gu h-ifrinn.* f *Shaor.* g *bu lìonmhor iad a bha leam.* h *t'eallach.* i *faltairt orm.* j *O thi a's airde!* k *Rè an latha.*

6 Tha iad a' cruinneachadh le chéile, tha iad 'gam folach féin; tha iad a' toirt fa'near mo cheumanna, 'nuair a tha iad a feitheamh air ſon m'anama.

7 Le h-eucoir[a] an dthéid iad as? ann *ad* fheirg tilg sìos na ſlòigh, a Dhé.

8 Dh'àireamh thu mo ſheacharain: cuir mo dheoir ann ad ſhearraigh[b]: nach *'eil iad* ann ad leabhar?

9 An ſin pillear mo naimhdean air an ais, ſan là a ghairmeas mi *ort:* air ſo tha ſios agam, oir *tha* Dia leam.

10 Ann an Dia molaidh mi 'fhocal: anns an Tighearna molaidh mi 'fhocal.

11 Ann an Dia chuir mi mo dhòigh: cha'n eagal leam ciod a dh'fheudas duine a dheanamh orm.

12 Ormſa, a Dhé, *tha* do bhòidean[c]: ìocaidh mi cliu dhuit:

13 Oir ſhaor thu m'anam o'n bhàs, agus mar an ceudna mo choſan o thuiſleadh, chum gu gluaiſinn ann ad fhìanuis, a Dhé, ann an ſolus nam beo.

SALM LVII.

Do'n ard fhear-ciuil, Al-taſchit, Michtam le Daibhidh, 'nuair a theich e o làthair Shauil do'n uaimh.

DEAN tròcair orm, a Dhé, dean tròcair orm; oir annadſa tha m'anam a' cur a dhòigh, agus fuidh ſgàile do ſgiathan gabhaidh mi mo thearmunn, gus an dthéid na h-uilc ſo uile thairis.

2 Eighidh mi ris an Dia a's airde, ri Dia a choimhlionas *nithe* air mo ſhon.

3 Cuiridh e *neart* o nèamh, agus ſaoraidh e mi; bheir e maſladh do'n fhear le'm b'àill mo ſhlugadh ſuas[d]. Selah. Cuiridh Dia a mach a thròcair agus 'fhìrinn.

4 *Tha* m'anam am meaſg leòmhan; tha mi a'm' luidhe *am meaſg* droinge air laſadh[e], daoine aig *am bheil* am fiacla nan ſleaghaibh agus nan ſaighdibh, agus an teanga na claidheamh geur.

5 Ardaich thu féin os cionn nan nèamh, a Dhé; do ghlòir os cionn na talmhainn uile.

6 Dheaſaich iad lìon fa chomhair mo cheum; chrom iad m'anam sìos: chladhaich iad ſlochd romham; thuit iad féin na mheadhon. Selah.

7 Tha mo chridhe deas[f], a Dhé, tha mo chridhe deas: ſeinnidh mi, agus molaidh mi.

8 Moſgail, mo ghlòir; moſgail, a ſhaltair agus a chlàrſaich: moſglaidh mi féin moch air mhaduinn.

9 Molaidh mi thu am meaſg nan ſluagh, a Thighearn; ſeinnidh mi dhuit am meaſg nan cinneach.

10 Oir *is* mòr do thròcair[g] gu ruig na nèamha, agus t'fhìrinn gu ruig na neula.

11 Ardaich thu féin os cionn nan nèamh, a Dhé; do ghlòir os cionn na talmhainn uile.

SALM LVIII.

Do'n ard fhear-ciuil, Al-taſchit, Michtam le Daibhidh.

AN labhair ſibh, a choimhthionail[h], da rìreadh an ceartas? an dthoir ſibh breth gu cothromach, a chlann nan daoine?

2 Seadh, 'nar cridhe tha ſibh a' dealbhadh aingidheachd; air talamh tha ſibh a' tomhas foirneirt bhur làmh.

3 Tha na h-aingidh a' claonadh o'n bhroinn; tha iad a' dol air ſeacharan o'm breith, a' labhairt bhreug.

4 *Tha* an nimh mar nimh nathrach; *tha iad* mar nathair bhodhar, *a* dhruideas a cluas,

5 Nach éiſd ri guth nan druidh, a tha ro-ſheòlta nan druidheachd.

6 Bris am fiaclan, a Dhé, nam beul; pronn gu tur tuiſg[i] nan leòmhan òg, a Thighearn.

a *Air ſon an euceirt.* b *ann ad ſhoireadh, ann ad ſhealladh.* c *mhòidean.* d *ſaltairt orm.* e *ri theine.* f *ullamh, gleuſta, ſuidhichte.* g *mhaithcas, chaoimhneas,* h *a bhreitheamhna.* i *fiacla mòra, cùl-fhiacla.*

7 Leaghadh iad, mar uifgeacha *a*
ruitheas gu faor[a]; cuireadh *Dia* a
fhaighdean *nan aghaidh*, agus gearr-
ar as iad.
8 Mar fheilcheig a bhios a' leagh-
adh as, rachadh iad as; *mar* thor-
raicheas anabuich mnà, na faiceadh
iad a' ghrian.
9 Mu'm mothaich bhur coireacha
teas o'n droighnich, bheir e air falbh
iad *mar* le h-ioma-ghaoith[b], araon
beo, agus n*a* chorruich.
10 Bithidh aoibhneas air an fhìr-
ean, an uair a chi e an dioghaltas:
nighidh e a chofan ann am fuil an
duine aingidh.
11 An fin their duine, Gu deimhin
tha duais ann do'n fhìrean; gu cinnt-
each tha Dia ann a tha toirt breth
air an talamh.

SALM LIX.

Do'n ard fhear-ciuil, Al-tafchit,
Michtam le Daibhidh; 'nuair a
chuir Saul daoine uaith, agus a
chuir iad faire air an tigh, chum
a mharbhadh.

TEASAIRG mi o m' naimhdibh,
O mo Dhia; dìon mi uatha-
fan a tha 'g eirigh a'm' aghaidh.
2 Teafairg mi o luchd-deanamh
na h-euceirt, agus o dhaoinibh fuil-
eachdach faor mi:
3 Oir feuch, tha iad a' feitheamh
nam fàth[c] an aghaidh m'anama;
tha daoine cumhachdach air cruinn-
eachadh a'm' aghaidh; cha'n ann
air fon mo lochd-fa, no *air fon* mo
pheacaidh, a Thighearn.
4 Gun choire *agamfa*, ruithidh iad,
agus ulluichidh fiad iad féin: mofg-
ail thufa a chuideachadh leam, agus
amhairc.
5 O thufa, a Thighearn, a Dhé
nan fluagh, a Dhé Ifraeil, mofgail a
dh'fhiofrachadh nan cinneach uile:
na dean iochd air luchd-eufaontais
ciontach fam bith. Selah.
6 Pillidh iad fan fheafgar, ni iad
donnalaich mar choin, agus théid iad
mu'n cuairt air a' bhaile.
7 Feuch, brùchdaidh iad a mach
le'm beul; *tha* cloidhean nam bil-
ibh: Oir cò, *ars' iadsan*, a chluinn-
eas?
8 Ach ni thufa, a Thighearn,
gàire umpa; ni thu fanoid[d] air na
cinnich uile.
9 O thufa mo neart[e], feithidh mi
ort: oir *is* e Dia mo dhaingneach[f].
10 Mo Dhia, gabhaidh a thròcair
romham[g]: bheir Dia dhomh gu
faic mi *mo mhiann* air m'eafcaird-
ibh.
11 Na marbh iad, air eagal gu'n
di-chuimhnich mo fhluagh; fgaoil
iad le d' neart, agus leag gu h-ìofal
iad, a Thighearn ar fgiath.
12 *Air fon* peacaidh am beoil, *air
fon* bhriathar am bilean, glacar iad
nan ardan; eadhon air fon nam
mallachd agus nam breug *a* labhras
iad.
13 Sgrios [iad] am feirg, fgrios
[iad,] agus na *biodh* iad ann; agus
biodh fios aig *daoine* gu bheil Dia na
uachdaran ann an Iacob, gu ruig[h]
crìocha na talmhainn. Selah.
14 Pillidh iad fan fheafgar, ni iad
donnalaich mar choin, agus théid iad
mu'n cuairt air a' bhaile.
15 Gabhaidh iad a null agus a nall
air fon bìdh[i], agus mur fàfuichear
iad, ni iad gearan.
16 Ach feinnidh mife mu d' neart,
agus ard-mholaidh mi fa' mhaduinn
do thròcair; oir bu tufa mo dhaing-
neach, agus mo dhìdean, ann an
latha mo theanntachd.
17 O thusa mo neart, canaidh mi
dhuit; oir *is* e Dia mo dhaingneach,
mo Dhia-fa, mo thròcair[j].

SALM LX.

Do'n ard fhear-ciuil air Sufan-edat,
Michtam le Daibhidh, chum
teagaifg, an uair a chog e an
aghaidh Aram-naharaim, agus
an aghaidh Aram-fobah, agus a
phill Ioab, agus a bhuail e do
Edom ann an gleann an t-fal-
ainn da mhìle dheug.

A

a *leo féin, an còmhnuidh.* b *cuairt-ghaoith:* c *ri feall-fholach, a' luidhe am plaid.* d *tarcuis.* e *Air fgàth a neirt.* f *dhìdean.* g *Gabhaidh Dia mo thròcaire romham.* h *agus gu ruig.* i *ag iarraidh bìdh.* j *Dia mo thròcaire, mo Dhia tròcaireach.*

A DHE, thilg thu uait ſinn,
ſgap [a] thu ſinn, bha fearg ort;
O pill thuſa ruinn.
2 Chuir thu an talamh air chrith;
bhris thu e; ſlànuich a bhriſeadh,
oir tha e air a luaſgadh [b].
3 Nochd thu do d' ſhluagh *nithe*
cruaidh; thug thu oirnn fion a' bhuair-
eis òl.
4 Thug thu bratach dhoibhſan d'an
eagal thu, gu bhi air a togail ſuas
air ſgàth na firinn. Selah.
5 Chum gu teaſairgear iadſan a's
ionmhuinn leat, ſaor thuſa le d' dheas
làimh, agus éiſd rium.
6 Labhair Dia na naomhachd: ni
mi aoibhneas, roinnidh mi Sechem,
agus tomhaiſidh mi gleann Shucoit.
7 *Is* leamſa Gilead, agus *is* leam
Manaſeh; agus *is* e Ephraim neart
mo chinn, Iudah fear-tabhairt mo
lagha.
8 *Is* e Moab mo ſhoitheach-ionn-
laid; os cionn Edoim tilgidh mi mo
bhròg: thar Paleſtin ni mi caith-
reim [c].
9 Cò bheir mi do'n bhaile dhaing-
nichte? cò threòraicheas mi gu h-E-
dom?
10 Nach tuſa, a Dhé? *thuſa a*
thilg uait ſinn, agus nach deachaidh
a mach, a Dhé, maille r'ar n-arm-
ailtibh?
11 Thoir còmhnadh dhuinn ann an
teinn [d]; oir *is* dìomhain furtachd
duine.
12 Trid Dhé ni ſinn treubhantas;
oir ſaltraidh eſan ſios ar naimhdean.

SALM LXI.

Do'n ard fhear-ciuil air Neginot.
Salm le Daibhidh.

EISD, a Dhé, ri m' ghlaodh, thoir
an aire do m' ùrnuigh.
2 O iomall na talmhainn éighidh
mi riut, an uair a bhios mo chridhe
lag [e]: chum na carraige *a*'s airde na
mi féin, treòraich thuſa mi:
3 Oir bha thuſa a'd' thearmunn
domh, a'd' thùr làidir an aghaidh an
nàmhaid.
4 Gabhaidh mi còmhnuidh ann ad
phàilliun gu bràth: cuiridh mi mo
dhòigh ann an ſgàil do ſgiathan.
Selah.
5 Oir chuala tuſa, a Dhé, mo
bhòidean: thug thu oighreachd
dhoibhſan air am bheil eagal t'ainme.
6 Cuir thuſa [f] laithean ri laithibh
an righ: *biodh* a bhliadhnan mar linn
agus linn.
7 Maireadh e gu bràth am fianuis
Dhé: gleidheadh tròcair agus firinn
e [g].
8 Mar ſin ſeinnidh mi cliu do
t'ainm gu bràth, chum gu dìol [h] mi
mo bhòidean o là gu là.

SALM LXII.

Do'n ard fhear-ciuil, do Iedutun.
Salm le Daibhidh.

AIR Dia a mhàin *tha* m'anam
a' feitheamh: uaith-ſan *thig*
mo ſhlàinte.
2 *Is* eſan a mhàin mo charraig a-
gus mo ſhlàinte: *is e* mo dhìdean:
cha ghluaiſear gu mòr mi.
3 Cia fhad a dhealbhas ſibh aimh-
leas an aghaidh duine? marbhar ſibh
uile; mar bhalladh ag aomadh, mar
ghàradh [i] air chrith, bithidh ſibh.
4 A mhàin chum *a* thilgeadh ſios
o 'airde [j] tha iad a' gabhail comhairle
le chéile; is miann leo breugan;
le'm beul beannuichidh iad, ach nan
cridhe malluichidh iad. Selah.
5 A mhàin air Dia feith, O m'an-
am; oir is ann uaith-ſan *a ta* mo
dhòchas.
6 *Is* eſan a mhàin mo charraig, a-
gus mo ſhlàinte: *is e* mo dhìdean;
cha ghluaiſear mi.
7 An Dia *tha* mo ſhlàinte agus mo
ghlòir; carraig mo neirt, mo thear-
munn *is* e Dia.
8 Cuiribh air gach àm bhur dòigh
ann, O a ſhluagh; dòirtibh a mach
bhur cridhe na fhianuis: *tha* Dia na
thearmunn duinn. Selah.
9 Gu cinnteach *tha* clann Adhaimh [k]
nan

a *bhris.* b *a' criothnuchadh.* c *air mo ſhonſa, a Phaleſtin, dean caithreim.* d *an aghaidh an nàmhaid.* e *trom, ſa thuirſe.* f *Cuiridh tuſa.* g *deaſaich,* no *orduich gu'n gléidh tròcair agus firinn e.* h *coimhlion.* i *dhìg, fhàl.* j *o 'urram, o a chliu.* k *daoine beag.*

nan dìomhanas, clann an duine [a] nam bréig: air meadh ma chuirear iad, *is* eutruime iad gu léir na dìomhanas.

10 Na h-earbaibh a' foirneart, agus a reubainn na deanaibh uaill [b]: 'nuair a dh'fhàſas ſaibhreas, na cuiribh bhur cridhe *air*.

11 Aon uair labhair Dia, dà uair chuala mi ſo, gur le Dia cumhachd.

12 Mar an ceudna dhuitſe, a Thighearn, *buinidh* tròcair; oir bheir thu [c] luigheachd do dhuine a réir 'oibre.

SALM LXIII.

Salm le Daibhidh, 'nuair a bha e ann am fàsach Iudah.

A DHIA, *is* tu mo Dhia-ſa; gu moch iarraidh mi thu: tha tart air m'anam a d' dhéigh, tha m'fheoil a' togradh a t'ionnſuidh ann an tìr thioraim agus thartmhoir, as eugmhais uiſge:

2 Chum, mar a chunnaic mi thu ann *ad* ionad naomha, gu faicinn do chumhachd agus do ghlòir.

3 Do bhrìgh gur fearr do chaoimhneas gràidh [d] na beatha, bheir mo bhilean cliu dhuit.

4 Mar ſin beannuichidh mi thu, an cian is beo mi; ann ad ainm togaidh mi mo làmhan.

5 Mar *le* ſmior agus *le* ſaill sàſuichear m'anam, agus le bilibh aoibhneach molaidh mo bheul *thu*;

6 'Nuair a chuimhnicheas mi ort air mo leabaidh, a bheachd-ſmuainicheas mi ort ann am faireibh na h-oidhche.

7 A chionn gu robh thu a'd' chabhair agam, uime ſin fo ſgàile do ſgiathan ni mi gairdeachas.

8 Tha m'anam a' dlùth-leantuinn riut: cumaidh do dheas làmh ſuas mi.

9 Ach iadſan *a* dh'iarras m'anam a chum *a* ſgrios, théid iad do ionadaibh ìochdarach na talmhainn.

10 Tuitidh iad le faobhar a' chlaidheimh; mar chuibhrionn do na ſionnachaibh bithidh iad.

11 Ach bithidh an righ aoibhneach ann an Dia: ni gach neach a mhionnuicheas airſan, uaill; 'nuair a dhruidear beul na droinge a labhras breug.

SALM LXIV.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm le Daibhidh.

EISD, a Dhé, ri m' ghuth ann am aſluchadh; o eagal an nàmhaid gléidh mo bheatha.

2 Folaich mi o chomhairle dhìomhair dhroch dhaoine, o choimhchruinneachadh [e] luchd-deanamh na h-euceirt;

3 A gheuraich mar chlaidheamh an teanga; a dheaſaich an ſaighdean, *eadhon* briathra ſearbh;

4 Chum an tilgeadh ann an *ionadaibh* dìomhair air an *duine* ionraic [f]: gu h-obann tilgidh iad air, agus cha bhi eagal orra [g].

5 Gabhaidh iad miſneach dhoibh féin an droch-bheirt; labhraidh iad le chéile mu leagadh ribeacha gu dìomhair; 'ſe their iad, Cò a chi ſinn [h]?

6 Rannſaichidh iad a mach eucearta; coimhlionaidh iad mìn-rannſachadh; agus *ſin* an taobh a ſtigh do dhuine, eadhon ſa' chridhe dhomhain.

7 Ach tilgidh Dia ſaighid orraſan; gu h-obann bithidh iad air an lotadh [i].

8 Agus bheir iad air an teangaidh féin tuiteam orra féin: teichidh gach neach a chi iad.

9 Agus bithidh eagal air gach duine [j], agus cuiridh iad an céill obair Dhé; oir tuigidh iad a ghnìomhſan.

10 Ni am firean aoibhneas anns an Tighearn, agus cuiridh e a dhòchas ann: agus ni iadſan uile a tha ceart nan cridhe gairdeachas.

a *daoine mòra.* b *le reubainn na meallar ſibh.* c *ge do bheir thu.*
d *do thròcair-ſa.* e *cheannairc, ionnſuidh ghairbh, bhuaireas.*
f *fhoirfe, iomlan.* g *cha'n fhaicear iad.* h *iad.* i *air am bualadh.*
j *chi na h-uile dhaoine.*

SALM LXV.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm *no* laoidh le Daibhidh.

ORTSA, O Dhé, *tha* moladh a'
feitheamh ann an Sion, agus
dhuitſe dìolar a' bhòid [a].
2 O thuſa a dh'éiſdeas ri h-ùr-
nuigh, thugadſa [b] thig gach feoil.
3 Thug eucearta [c] buaidh oirnn [d]:
ar n-euſaontais glanaidh tuſa uainn.
4 *Is* beannuichte *eſan a* thaghas
tuſa, agus a bheir thu am fagus *duit;*
gheibh e còmhnuidh a'd' chùirtibh:
ſaſuichear ſinne le maitheas do thighe,
do theampuill naomha.
5 *Le* nithibh uamhaſach an ceart-
as bheir thu freagradh dhuinn, a Dhé
ar ſlàinte, dòchas uile chrìocha na
talmhainn, agus na fairge, fada
uainn!
6 A tha ſocrachadh nam beann le
d' [e] chumhachd, air do chrioſlach-
adh le neart [f];
7 A chaiſgeas fuaim fhairgean,
fuaim an tonn, agus buaireas nan
cinneach.
8 Gabhadh eadhon luchd-àiteach-
aidh nan crìoch fada mach [g] eagal
roimh do chomharaibh: bheir thuſa
air dol a mach na maidne agus an
fheaſgair gairdeachas a dheanamh.
9 Tha thu a fioſrachadh na tal-
mhainn [h], agus 'ga uiſgeachadh; ni
thu ro-bheartach e, *oir* tha abhuinn
Dé làn do uiſge: deaſaichidh tu ar-
bhar [i], 'nuair a dh'ulluich thu e mar
ſo.
10 Tha thu gu pailte ag uiſgeach-
adh 'iomairean, tha thu a' leagadh
sìos a ſgrìoban; le fraſaibh ni thu
tais e, beannuichidh tu 'fhàs.
11 Crùnaidh tu a' bhliadhna le d'
mhaitheas; agus ſilidh do cheuman [j]
ſaill.
12 Silidh iad *air* cluainibh [k] an
fhàſaich; agus ni na cnuic gairdeach-
as air gach taobh.
13 Tha na cluainean air an ſgead-
achadh [l] le treudaibh, agus tha na glinn
air an còmhdachadh le h-arbhar:
ni iad iolach ait; ſeadh, ſeinnidh
iad.

SALM LXVI.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm *no* laoidh.

TOGAIBH iolach ait do Dhia, a
thìrean uile.
2 Seinnibh glòir 'ainme, deanaibh
a chliu glòrmhor.
3 Abraibh ri Dia, Cia h-uamhaſ-
ach t'oibre? trìd meud do neirt,
ſtrìochdaidh do naimhde dhuit.
4 Sleuchdaidh gach tìr dhuit, agus
ſeinnidh iad dhuit; ſeinnidh iad do
t'ainm. Selah.
5 Thigibh, agus faicibh oibre Dé:
uamhaſach *tha* e na ghnìomharaibh
air chloinn nan daoine:
6 Thionndaidh e a' mhuir gu ta-
lamh tioram: troimh 'n t-ſruth ghabh
iad thairis d'an cois. An ſin rinn [m]
ſinn gairdeachas ann.
7 Le 'thréin neart riaghluidh e gu
bràth; amhaircidh a ſhùilean air na
cinnich: na h-ardaicheadh luchd-
ceannairc iad féin. Selah.
8 Beannuichibh, o a ſhlòigh, ar
Dia-ne, agus thugaibh air fuaim a
mholaidh bhi air a cluinntinn;
9 Neach a chumas ar n-anam beo,
agus nach leig le'r cois carruchadh [n].
10 Oir dhearbh thu ſinn, a Dhé;
ghlan thu ſinn ſan teine, mar a ghlan-
ar airgiod.
11 Thug thu ſteach ſan lìon ſinn;
chuir thu teinn [o] air ar leaſraidh.
12 Thug thu air daoinibh marc-
achd thar ar cinn, chaidh ſinn
troimh [p] theine, agus troimh uiſge;
ach thug thu mach ſinn gu h-ionad
ſaibhir.
13 Théid mi do d' thigh le h-ìob-
airtibh-loiſgte: coimhlionaidh mi
dhuit mo bhòidean.
14 Leis an d'fhoſgladh mo bhil-
ean, agus a labhair mo bheul, 'nuair
a bha mi ann an éiginn.

15 Iobairtean-

a *dìolair a' bhòid [ann an Ieruſalem.]* b *chugadſa.* c *nithe eucoir.* d *orm.* e *le a.* f *treubhantas.* g *luchd-àiteachaidh chrìocha na talmhainn.* h *an talmhainn.* i *arbhar dhoibh.* j *neoil.* k *Silidh cluainean.* l *air an còmhdachadh.* m *ni.* n *corruchadh.* Eb. o *teanntachd, àmhghar.* p *trìd.*

15 Iobairtean-loisgte do *fheudail*
reamhar iobraidh mi dhuit, maille ri
tùis reitheacha: bheir mi suas buar,
maille ri gabhraidh. Selah.
16 Thigibh, éisdibh, sibhse uile
air am bheil eagal Dé, agus cuiridh
mi 'n céill na rinn e air son m'an-
ama.
17 Ghlaodh mi ris le m' bheul,
agus dh'ardaicheadh e le m' theang-
aidh.
18 Ma bheir mi spéis do euceart
a'm' chridhe, cha'n éisd an Tighear-
na *rium*.
19 Gu dearbh dh'éisd Dia, thug e
an aire do ghuth m'ùrnuigh.
20 Beannuichte gu *robh* Dia, nach
do thionndaidh m'ùrnuigh uaith-san,
agus a thròcair uamsa!

SALM LXVII.

Do'n ard fhear-ciuil air Neginot.
Salm *no* laoidh.

GU deanadh Dia tròcair oirnn, a-
gus gu beannuicheadh e sinn!
agus gu dthugadh e air a ghnùis
dealrachadh oirnn! Selah.
2 Chum gu'n aithnichear do shlighe
air an talamh, do shlàinte am measg
nan uile chinneach.
3 Moladh na slòigh thu, a Dhé!
moladh na slòigh uile thu!
4 Biodh na cinnich aoibhneach, a-
gus deanadh iad luathghaire; oir
bheir thusa breth air na slòigh an
ceartas, agus riaghluidh tu na cinnich
air an talamh. Selah.
5 Moladh na slòigh thu, a Dhé!
moladh na slòigh uile thu!
6 Bheir an talamh a thoradh: gu
beannuicheadh Dia, ar Dia-ne, sinn!
7 Gu beannuicheadh Dia sinn! a-
gus gu robh 'eagal-san air uile chrìoch-
aibh na talmhainn!

SALM LXVIII.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm *no*
laoidh le Daibhidh.

EIREADH Dia! biodh a naimhd-
ean air an sgapadh! agus
teicheadh iadsan aig am bheil fuath
dha, o 'ghnùis!
2 Mar a dh'fhuadaichear deatach,
fuadaichear [a] iad: mar a leaghar
céir sa chomhair an teine, sgriosar
droch dhaoine am fianuis Dhé.
3 Ach biodh na fireana aoibhneach;
deanadh iad gairdeachas am fianuis
Dé, agus biodh iad suilbhir le luaith-
ghaire.
4 Seinnibh do Dhia, molaibh 'ainm;
ardaichibh esan a ta marcachd air na
nèamhaibh [b] le 'ainm Iah, agus dean-
aibh gairdeachas na fhianuis.
5 Athair nan dìlleachdan, agus
breitheamh nam bantrach, *is e* Dia
ann an ionad-còmhnuidh a naomh-
achd.
6 Suidhichidh Dia na daoine aon-
aranach ann an teaghlach [c]; bheir e
mach iadsan a tha ceangailte le cui-
bhreachaibh; ach gabhaidh na ceann-
aircich còmhnuidh ann an *tìr* thart-
mhoir [d].
7 A Dhé, 'nuair a chaidh thu
mach roimh do shluagh, 'nuair a
dh'imich thu anns an fhàsach. Se-
lah.
8 Chriothnuich an talamh, shil
mar an ceudna na nèamha; [leagh
na beannta [e]] o làthair Dhé, Sinai
sin féin o làthair an Tighearna Dé Is-
raeil.
9 Shil thu nuas uisge gu pailt, a
Dhé; air t'oighreachd, agus i sgìth,
dh'fhurtaich thu.
10 Chòmhnuich do choimhthional [f]
innte; dheasaich thu, a Dhé, do d'
mhaitheas do'n *duine* bhochd.
11 Chuir an Tighearn a ghuth a
mach; *bu* lìonmhor cuideachd na
muinntir a dh'fhoillsich [g] *e*.
12 Theich, theich righrean nan
armailte; agus roinn ise a dh'fhan
aig an tigh a' chreach.
13 Ge do luidh sibh am measg
choireacha [h], *bidhidh sibh mar* sgiath-
aibh columain air an còmhdachadh
le h-airgiod, agus 'iteagan le h-òr
buidhe.
14 'Nuair a sgaoil an t-Uile-
chumhachdach righrean innte, *bha* i
geal

a *fuadaich thusa.* b *trìd nam fàsach.* c *tigh.* d *thioraim.*
e Faic Breitheamhna Caib. V. r. 5. f *chreutairean beo.* g *a chuir
an céill.* h *phota.*

geal mar ſhneachda air Salmòn.

15 *Tha* beinn Dhé *mar* bheinn Bhaſan, na beinn ard *mar* bheinn Bhaſain [a].

16 C'ar ſon a leumas ſibh [b], a bheannta arda? *is* i ſo a' bheinn anns am miann le Dia còmhnuidh a ghabhail, ſeadh, còmhnuichidh an Tighearn *innte* gu bràth.

17 *Tha* carbaid Dhé nam fichead mìle, *le* mìltibh do mhìltibh *aingle*: *tha* an Tighearna nam meaſg, *mar* ann an Sinai, ſan ionad naomha.

18 Chaidh thu ſuas air *ionad* ard, thug thu bruid [c] am braighdeanas: thug [d] thu tiodhlacan do dhaoinibh, ſeadh, eadhon *do* dhaoinibh ceannairceach, chum gu gabhadh an Tighearna Dia còmhnuidh *nam meaſg*.

19 Beannuichte *gu robh* an Tighearn, *a tha* gach là 'gar cumail ſuas [e], Dia ar ſlàinte! Selah.

20 *Is* e ar Dia-ne Dia na ſlàinte, agus do'n Tighearna Dia *buinidh* an t-ſlighe o'n bhàs [f].

21 Ach briſidh Dia ceann a naimhde, claigionn greannach an fhir a dh'imicheas na pheacaibh.

22 Thubhairt an Tighearna, *Mar* o Bhaſan bheir mi *mo ſhluagh* air an ais; bheir mi air an ais *iad mar* o dhoimhneachdaibh na fairge:

23 Chum gu tumar do chos ann am fuil *do* naimhde, teanga do mhadradh anns an *ni* cheudna.

24 Chunnaic iad do thriall, a Dhé! triall mo Dhé, mo Righ, ſan ionad naomha!

25 Dh'imich an luchd-ſeinn air thoiſeach, an luchd-ciuil nan déigh, am meadhon mhaighdean a' bualadh thiompan [g].

26 Anns na coimhthionalaibh beannuichibh Dia, an Tighearn o thobar Iſraeil.

27 An ſin *tha* Beniamin beag [h] na uachdaran orra, ceannardan Iudah an luchd-comhairle, ceannardan Shebuluin, ceannardan Naphtali.

28 Dh'àithn do Dhia dhuit do neart: neartaich, a Dhé, an *ni* ſo *a* rinn thu air ar ſon.

29 Air ſon do theampuill ann an Ieruſalem, bheir righre tiodhlacadh dhuit.

30 Smachduich luchd nan ſleagh [i], mòr chuideachd nan tarbh, le laoghaibh an t-ſluaigh, *gus* an ſtrìochd iad le mìribh airgid: ſgap thuſa na ſlòigh a ghabh tlachd do'n chogadh.

31 Thig ard uaiſlean as an Eiphit; sìnidh Etiopia a làmhan a mach gu luath ri Dia.

32 A rìoghachda na talmhainn, ſeinnibh do Dhia; ſeinnibh moladh do'n Tighearna: Selah.

33 Dhaſan a tha marcachd air nèamhaibh nan nèamh o chian! Feuch, tha e a' cur a mach a ghutha, gutha neirt.

34 Thugaibhſe neart do Dhia: thar Iſrael *tha* a ghlòir, agus *tha* a neart anns na neulaibh.

35 *Is* uamhaſach thuſa, a Dhé, o d' ionadaibh naomha! *Is* e Dia Iſraeil a bheir neart agus treoir d'*a* ſhluagh. Gu ma beannuichte Dia!

SALM LXIX.

Do'n ard fhear-ciuil air Soſanim. Le Daibhidh.

TEASAIRG mi, a Dhé, oir thàinig na h-uiſgeacha ſteach gu ruig *m'*anam.

2 Tha mi a' dol fodha ann an làthaich dhomhain, gun àite gu ſeaſamh: tha mi air teachd gu doimhneachdaibh nan uiſge, agus tha'n ſruth a' dol tharum.

3 Tha mi ſgìth le m' ghlaodhaich, tha mo ſcornan air tiormachadh: tha mo ſhùilean air fàilneachadh le feitheamh air mo Dhia.

4 Is lìonmhoire na falt mo chinn iadſan aig am bheil fuath dhomh gun aobhar: tha iadſan air fàs làidir le'm b'àill mo mhilleadh, a tha nan naimhdibh dhomh gu h-eucorach; an ni ſin nach d'thug mi leam, an ſin is éigin domh 'aiſeag.

5 Tha

a Is *beinn mhòr beinn Bhaſain, beinn nan airde beinn Bhaſain.* b *dh'ambairceas ſibh gu h-uaibhreach.* c *braighdeanas, braighdean.* d *fhuair.* e *a dh'uallaicheas ſinn gach là* le 'thiodhlacaibh. f *ſlighe a' bhàis.* g *thabur.* h òg. i *fiadh-bheathach na cuilce.* Eabh.

5 Tha fios agadſa, a Dhé, air m'amaideachd; agus cha 'n'eil mo lochda folaichte ortſa.

6 Na biodh nàire orra-ſan air mo ſgàth-ſa, a dh'fheitheas ortſa, a Thighearna Dhé nan ſlògh: na biodh amhluadh orra-ſan air mo ſgàth-ſa, a dh'iarras tuſa, a Dhé Iſraeil:

7 Oir air do ſgàth-ſa dh'fhuiling mi maſladh, chòmhdaich amhluadh mo ghnùis.

8 Is coigreach mi do m' bhràithribh, agus coimheach do chloinn mo mhàthar:

9 Oir dh'ith eud do thighe ſuas mi; agus ormſa thuit toibheum na muinntir ſin a thug toibheum dhuitſe.

10 Agus an uair a dh'irioſlaich mi m'anam le troſgadh [a], bha e na mhaſladh dhomh.

11 Agus rinn mi mo chulaidh do ſhaic-eudach, agus bha mi a'm' lethfhocal [b] aca.

12 Tha iadſan a tha nan ſuidhe anns a' gheatadh a' labhairt a'm' aghaidh, agus *tha mi a'm'* òran acaſan a tha 'g òl dibhe làidir.

13 Ach air mo ſhon-ſa, *tha* m'ùrnuigh riutſa, a Thighearn, ann an àm taitneach: a Dhé, ann an lionmhoireachd do thròcaire éiſd rium, ann am firinn do ſhlàinte.

14 Saor mi o'n làthaich, agus na racham ſìos: teaſairgear mi uathaſan le'm fuathach mi, agus o na h-uiſgibh domhain.

15 Na rachadh tuil nan uiſge tharum, agus na ſluigeadh an doimhneachd mi, agus na druideadh an ſlochd a bheul orm!

16 Eiſd rium, a Thighearn, oir *is* maith do chaoimhneas gràdhach; a réir lionmhoireachd do chaomh thròcairean pill rium [c].

17 Agus na folaich do ghnùis o d' òglach, oir tha mi ann an airc [d]; éiſd rium gu grad.

18 Druid ri m'anam, ſaor e; a bhrìgh m' eaſcairdean, teaſairg mi.

19 Is aithne dhuit mo mhaſladh, agus mo nàire, agus mo mhi-chliu: a'd' fhianuis *tha* mo naimhdean uile.

20 Bhris maſladh mo chridhe, agus tha mi iargunach: agus dh'amhairc mi air ſon *neach* a ghabhadh truas, ach cha *robh* e ann; agus air ſon luchd comhfhurtachd, ach cha d'fhuair mi *iad*.

21 Agus thug iad dhomh, mar mo bhiadh, dombias; agus ann am iotadh [e], thug iad dhomh fion-geur r'a òl.

22 Biodh [f] am bord fa'n comhair mar ribe, agus *an* ſoirbheas mar cheap-tuiſlidh *dhoibh*.

23 Dorchaichear an ſùilean, chum nach faic iad; agus thoir air an leaſraidh a ghnàth bhi air chrith.

24 Dòirt t'fhearg orra, agus glacadh do chorruich gheur iad.

25 Biodh an àite-tàimh fàs; nam pàilliunaibh na gabhadh neach còmhnuidh!

26 Oir gheur-lean iad an ti a bhuail thuſa, agus labhair iad chum doilgheas doibhſan a lot thu [g].

27 Cuir euceart r'an euceart, agus na dthigeadh iad a ſteach a'd' fhìreantachdſa.

28 Dubh a mach iad a leabhar nam beo, agus maille ris na fìreanaibh na ſcriobhar iad.

29 Ach miſe, *a ta* bochd agus brònach, togadh do ſhlàinte, a Dhé, an aird mi.

30 Molaidh miſe ainm Dé le h-òran, agus ardaichidh mi e le breithbuidheachais.

31 Agus is fearr leis an Tighearna *ſo* na damh, *na* tarbh òg a ta adharcach, crobhanach [h].

32 Chì na daoine sèimh ſo, agus bithidh aoibhneas orra: ſibhſe a dh'iarras an Tighearna, bithidh bhur cridhe beo.

33 Oir éiſdidh an Tighearna ri bochdaibh, agus cha dean e tàir air a phrioſunaich [i].

34 Moladh na nèamha agus an talamh e; na cuanta, agus gach ni a ghluaiſeas annta!

35 Oir

a *'nuair a ghuil mi le troſgadh.* b *ghnàth-fhocal, fhocal-fochaid.* c *amhairc orm.* d *teanntachd.* e *thart, phathadh.* f *Bithidh.* g *chuir iad ri doilgheas nan* daoine *a lot thu.* h *ladharach.* i *a dhaoine ceangailte.*

35 Oir ſaoruidh Dia Sion, agus togaidh e bailtean Iudah; agus gabhaidh iad còmhnuidh an ſin, agus mealaidh iad i.

36 Sealbhaichidh ſliochd a ſheirbhiſeach i, agus gabhaidh iadſan a ghràdhaicheas 'ainmſan còmhnuidh innte.

SALM LXX.

Do'n ard fhear-ciuil, *Salm* le Daibhidh, a chuir an cuimhne.

ADHE, chum mo theaſairginn, a Thighearna, chum mo chuideachaidh dean deifir[a].

2 Biodh nàire agus amhluadh orra-ſan a tha 'g iarraidh m'anama: pillear air an ais iad, agus mòr amhluadh gu robh orra-ſan a tha miannachadh uilc dhomh.

3 Gu pillear iadſan air an ais[b], mar thuaraſdal d'an nàire, a their rium, Aha, aha!

4 Deanadh iadſan uile a tha ga d' iarraidh, aoibhneas agus gairdeachas annad; agus abradh iadſan a ghnàth, le'n toigh do ſhlàinte, Mòr mholadh gu robh do Dhia!

5 Ach *a ta* miſe bochd agus uireaſbhuidheach; a Dhé, greas a m' ionnſuidh: *is* tuſa mo chabhair agus m'fhear-ſaoraidh; a Thighearna, na dean moille.

SALM LXXI.

ANNADSA, a Thighearna, cuiream mo dhòigh: nàire na biodh orm am feaſd.

2 A'd' cheartas teaſairg mi, agus thoir orm dol as; aom do chluas rium, agus ſaor mi.

3 Bi-ſa a'd' charraig làidir[c] dhomh, chum an rachainn a ghnàth: dh'àithn thu mi bhi air mo ſhaoradh; oir *is* tu mo charraig, agus mo dhaingneach.

4 O mo Dhia, thoir fuaſgladh dhomh a làimh an aingidh, a làimh an duine eucoraich agus an-iochdmhoir.

5 Oir *is* tuſa mo dhòchas, a Thighearna Dhé, mo dhòigh o m'òige.

6 Leatſa chumadh miſe ſuas o'n bhroinn: a h-inn[?]bh mo mhàthar bhuin thu mi: ortſa *bithidh* mo mholadh an còmhnuidh.

7 Mar aobhar iongantais tha mi aig mòran; ach *is* tuſa mo thearmunn làidir.

8 Lìonar mo bheul *le* d' mholadh, *le* d' urram-ſa gach là.

9 Na tilg uait mi an àm ſean aoiſe; 'nuair a dh'fhàilnicheas mo neart, na tréig mi.

10 Oir labhair mo nàimhdean a'm' aghaidh; agus ghabh iadſan a tha feitheamh nam fàth air m'anam, comhairle le chéile,

11 Ag ràdh, Thréig Dia e: leanaibh e gu teann, agus glacaibh e; oir cha'*n'eil* neach ann a ſhaoras *e*.

12 A Dhé, na bi-ſa fad uam, O mo Dhia, greas gu m' chabhair.

13 Biodh nàire, biodh claoidh, air eaſcairdibh m'anama: còmhdaichear le maſladh agus le mi-chliu iadſan a tha 'g iarraidh m'uilc.

14 Ach sìr-earbaidh miſe, agus cuiridh mi ri d' chliu uile[d].

15 Aithriſidh mo bheul t-fhìreantachd, air feadh an latha do ſhlàinte; ge nach aithne[e] dhomh an àireamh.

16 Théid mi air m'aghaidh ann an neart an Tighearna Dé: ni mi ſgeul air t'fhìreantachd, t'fhìreantachd féin a mhàin.

17 O Dhé, theagaiſg thu mi o m'òige; agus gu ruige ſo chuir mi t'oibre iongantach an céill.

18 Agus a nis an uair a ta mi ſean agus liath, a Dhé, na tréig mi; gus an cuir mi an céill do neart do'*n* àl *ſo*, do gach *àl* ri teachd do chumhachd.

19 Agus *a ta* t'fhìreantachdſa, a Dhé, ro ard, O thuſa a rinn nithe mòra: a Dhé, cò *is* coſmhuil riut?

20 A nochd dhomh teanntachdan mòra agus cruaidh, a bheothaicheas mi a rìs, agus o dhoimhneachdaibh na talmhainn a bheir a nìos mi a rìs.

21 Meudaichidh

a *cabhag*. b *Aonaranach gu robh iadſan*. Faic Salm XL. r. 15.
c *charraig còmhnuidh*. d *ſeinnidh mi do chliu ni's mò agus ni's mò*.
e *oir cha'n aithne*.

21 Meudaichidh tu mo mhòrachd, agus air gach taobh bheir thu ſòlas dhomh.

22 Uime ſin molaidh miſe thu air an t-ſaltair, *feadh* t'fhìrinn-ſa [a], mo Dhia; ſeinnidh mi dhuit air a' chlàrſaich, O Aoin naomha Iſraeil.

23 Ni mo bhilean mòr ghairdeachas an uair a ſheinneas mi dhuit, agus m'anam a ſhaor thu.

24 Labhraidh mar an ceudna mo theanga air t'fhìreantachd air feadh an latha; oir chuireadh amhluadh, oir chuireadh nàire orra-ſan a tha 'g iarraidh m'aimhleis [b].

SALM LXXII.

Air ſon Sholaimh.

ADHE, thoir do bhreitheanais do'n righ, agus t'fhìreantachd do mhac an righ.

2 Bheir eſan breth air do ſhluagh le ſìreantachd, agus air do bhochdaibh le ceartas.

3 Bheir na beannta sìth do'n t-ſluagh, agus na tulaich [c].

4 Le ceartas bheir e breth air bochdaibh an t-ſluaigh; ſaoraidh e clann nan ainnis, ach mìn-bhriſidh e fear an fhoirneirt.

5 Bithidh t'eagal orra am feadh a mhaireas a' ghrian agus a' ghealach [d], o linn gu linn.

6 Thig e nuas mar uiſge air an *fhaiche* bhuainte, mar fhraſaibh a dh'uiſgicheas an talamh.

7 Na laithibhſan ſoirbhichidh leis an fhìrean [e], agus bithidh pailteas sìth ann, gus nach *bi* a' ghealach ann ni's mò.

8 Agus bithidh uachdaranachd aige o fhairge gu fairge, agus o'n abhuinn gu ruig crìochaibh na talmhainn.

9 Na fhìanuis ſleuchdaidh sìos luchd-còmhnuidh an fhàſaich, agus imlichidh a naimhdean an ùir.

10 Bheir righrean Tharſis agus nan eilean tiodhlacan uatha; bheir righrean Sheba agus Shaba [f] tabhartais dha.

11 Agus ſleuchdaidh na h-uile righre sìos dha; ni na cinnich uile ſeirbhis dha.

12 Oir ſaoraidh e an t-ainnis an uair a dh'éigheas e; agus an truaghan, aig nach 'eil fear-cuideachaidh.

13 Caomhnaidh e am bochd agus am feumach; agus tearnaidh e anama nam feumach.

14 O fheill agus o fhoirneart ſaoraidh e an anam; agus bithidh am fuil luachmhor na ſhùilibh.

15 Agus bithidh e beo, agus bheirear dha do òr Sheba: agus nithear ùrnuigh air a ſhon a ghnàth; gach là beannuichear e.

16 Bithidh dorlach sìl ſan talamh air mullach nam beann; crathaidh mar Lebanon a thoradh; agus thig iadſan do'n bhaile fo bhlàth, mar luibh na talmhainn.

17 Bithidh 'ainmſan buan gu sìorruidh; comh-mhairionn ris a' ghréin bithidh 'ainmſan; agus annſan beannuichear na ſlòigh uile, agus beannuichidh iadſan e [g].

18 Beannuichte gu *robh* an Tighearna Dia, Dia Iſraeil, an ti a mhàin a ni nithe iongantach!

19 Agus beannuichte gu *robh* 'ainm glòrmhor-ſan gu sìorruidh, agus lìonar an talamh uile le 'ghlòir! Amen, agus Amen!

Chrìochnaicheadh ùrnuighean Dhaibhidh mhic Ieſe.

SALM LXXIII.

Salm le Aſaph.

GU deimhin *tha* Dia maith do Iſrael, dhoibhſan a tha glan nan cridhe.

2 Ach air mo ſhonſa, is beag nach d'aom mo choſa; cha mhòr nach do ſhleamhnuich mo cheumanna uam.

3 Oir ghabh mi tnù [h] ri h-amadanaibh, ri faicinn ſoirbheis [i] dhaoine aingidh.

4 Oir cha *'n'eil* cuibhrichean nam bàs [j]; ach *a ta* an neart làidir.

5 Ann

a *air inneal-ciuil na ſaltaire molaidh miſe t'fhìrinn.* b *m'uile.* c *na tulaich fìreantachd.* d *maille ris a' ghréin, agus am fianuis na gealaich.* Eabh. e *le fìreantachd.* f *Seba.* g *bheir iad cliu dha.* h *farmad.* i *ſoirbheachaidh.* j *ceanglaichean orra gu'm bàs.*

5 Ann an docair mar dhaoinibh
eile cha *'n'eil* iad; agus mar dhaoin-
ibh *eile* cha 'n'eil iad air an sàruch-
adh.
6 Uime sin mar shlabhraidh chuairt-
ich ardan iad; mar thrusgan, chòmh-
daich foirneart iad.
7 Sheas an sùil a mach [a] le saill;
fhuair iad thar miann an cridhe.
8 Tha iad truaillidh, agus labh-
raidh iad gu h-aingidh air foirneart;
gu h-ard labhraidh iad.
9 Chuir iad am beul an aghaidh
nan nèamh; agus ghluais an teanga
air feadh na talmhainn.
10 Air an aobhar sin pillidh a
shluagh [b] an so; agus fàisgear uisg-
eacha *cupain* làin a mach dhoibh.
11 Agus their iad, Cionnus is aith-
ne do Dhia? agus am bheil eòlas aig
an Ti a's airde;
12 Feuch, *is* iad sin na daoine ain-
gidh, a tha soirbheachadh san t-saogh-
al; tha iad a' carnadh suas beartais.
13 Do rìreadh gu dìomhain ghlan
mi mo chridhe, agus nigh mi mo
làmhan an neo-chionta:
14 Oir bhuaileadh mi air feadh an
latha, agus smachdaicheadh mi gach
maduinn.
15 Nan abrainn, Labhraidh mi
mar so, feuch, *air* ginealach do
chloinne dheanainn eucoir.
16 'Nuair a smuainich mi air so a
thuigsinn, *bu* chruaidh an gnothuch
e ann am shùilibh:
17 Gus an deachaidh mi steach do
naomh-ionad Dhé: an sin thuig mi
an crìoch-san.
18 Gu deimhin ann an àitibh
sleamhna chuir thu iad: thilg thu
sìos iad gu sgrios.
19 Cionnus a thugadh iad gu sgrios,
mar ann an tiota? a chuireadh as
doibh gu tur le h-uamhasaibh?
20 Mar aisling 'nuair a dhùisgeas
neach, a Thighearn, anns a' bhaile [c]
ni thu tarcuis [d] air an dealbh.
21 Ach bha mo chridhe goirt, agus
bha goimh a'm' airnibh.
22 Agus *bha* mi baoth, agus ain-
eolach: mar ainmhidh bha mi a'd'
làthair.
23 Gidheadh, *tha* mi ghnàth maille
riut; chum thu suas *mi* air mo dheas
làimh.
24 Le d' chomhairle stiùraidh tu
mi, agus fa' dheoidh [e] gabhaidh tu
mi *chum* glòire.
25 Cò *th*'agam anns na nèamhaibh
ach thusa? agus an coimhmeas riut
cha *'n'eil* neach air thalamh air am
bheil ma dhéigh.
26 Tha m'fheoil agus mo chridhe
air fàilneachadh: *is* e Dia neart mo
chridhe agus mo chuibhrionn gu sìor-
ruidh.
27 Oir feuch, sgriosar iadsan a
théid fad uait: ghearr thu as gach
neach a chaidh le strìopachas uait.
28 Ach is maith dhomhsa teachd
dlùth do Dhia: anns an Tighearna
Dia chuir mi mo dhòigh, chum gu
foillsichinn t'oibre uile.

ALM LXXIV.

Maschil le Asaph.

CAR SON, a Dhé, a thilg thu
uait *sinn* gu bràth? a lasas
t'fhearg ri caoraich t'ionaltraidh?
2 Cuimhnich do choimhthional, *a*
cheannuich thu o chian, *a* shaor thu;
slat [f] t'oighreachd, beinn Shioin so
anns an do ghabh thu còmhnuidh.
3 Tog do chosa chum nam fàsach
sìorruidh, *chum* nan uile olc a rinn
an nàmhaid ann *ad* ionad naomha.
4 Bheuc do naimhdean am measg
do choimhthionail; chuir iad suas am
brataichean mar chomharaibh.
5 Bha *neach* ainmeal mar a thogadh
e a thuagh gu h-ard air coille thiugh.
6 A nis mar an ceudna bhris iad
sìos 'obair ghearrta [g] le chéile le
tuaghaibh agus le h-ordaibh.
7 Chuir iad ri theine t'ionad
naomha gu ruig an làr; thruaill iad
pàilliun t'ainme-sa.
8 Thubhairt iad nan cridhe,
Sgriosamaid iad le chéile: loisg iad
uile ionada-cruinneachaidh [h] Dhé
san tìr.

9 Ar

a *Tha an sùilean air bòrcadh.* b *mo shluagh.* c *'nuair a mhosglas tu.* d *dìmeas.* e *na dhéigh sin.* f *treubh.* g *obair shnaidhte an ionaid-naoimh, a gheatacha.* h *shionagoga, ionadan-aoraidh.*

9 Ar comharan cha'n fhaic finn;
cha *'n'eil* fàidh ann ni's mò, agus
cha *'n'eil* neach nar meafg aig am
bheil fhios cia fad.
10 Cia fad, a Dhé, a bheir an
t-eafcaraid beum? an dean an nàmh-
aid tarcuis air t'ainm gu bràth?
11 C'ar fon a philleas tu do làmh,
do dheas làmh féin air a h-ais? buin
a mach o d' bhroilich *i* [a].
12 Oir *is* e Dia mo Righ o chian,
ag oibreachadh flàinte am meadhon
na talmhainn.
13 Sgaoil thufa an fhairge le d'
neart; bhris thu cinn nan dràgon [b]
air na h-uifgeachaibh.
14 Phronn thu cinn Lebhiatain;
thug thu e mar bhiadh do'n t-fluagh
anns an fhàfach.
15 Sgoilt thu an tiobairt [c] agus
an fruth; thiormaich thu aibhne [d]
mòra.
16 *Is* leatfa an là, mar an ceudna
is leatfa an oidhche: is tu dheafaich
folus agus grian.
17 Shuidhich thu uile chrìocha na
talmhainn; rinn thu an famhradh a-
gus an geamhradh.
18 Cuimhnich fo: thug an t-eaf-
caraid beum, a Thighearn, agus
rinn fluagh amaideach tarcuis air
t'ainm.
19 Na toir fuas do'n fhiadh-bheath-
ach [e] anam do cholumain [f]: anaman-
na do dhaoine truagh na di-chuimh-
nich gu bràth.
20 Thoir an aire do'n choimh-
cheangal [g]; oir tha àitean dorcha
na tìre làn do ionadaibh-còmhnuidh
an fhoirneirt.
21 Na pillear air ais le nàire an ti
a fhàruichear: moladh am bochd agus
am feumannach t'ainm.
22 Eirich, a Dhé, tagair do chùis
féin: cuimhnich mar a ta 'n t-am-
adan a' toirt toibheim dhuit gach là.
23 Na di-chuimhnich guth do
naimhdean, toirm [h] na muinntir a
dh'éirich a't'aghaidh, a tha dol fuas
an còmhnuidh.

SALM LXXV.

Do'n ard fhear-ciuil, Al-tafchit.
Salm *no* laoidh le Afaph.

BHEIR finn moladh [i] dhuit, a
Dhé, bheir finn moladh: oir
gu *bheil* t'ainm am fagus [j] cuiridh
t'oibre iongantach an céill.
2 'Nuair a ghlacas mi an t-àm
fuidhichte [k], bheir mi breth le ceart-
as.
3 Sgaoileadh an tìr agus a luchd-
àiteachaidh gu léir: cumaidh mife
fuas a puift. Selah.
4 Thubhairt mi ris na h-amadan-
aibh, Na bidhibh amaideach; agus
ris na h-aingidh, Na togaibh fuas
bhur n-adharc.
5 Na togaibh fuas bhur n-adharc
gu h-ard; *na* labhraibh le muineal
cruaidh.
6 Oir cha'n ann o'n ear, no o'n
iar, no o dheas *a thig* ardachadh.
7 Ach *is* e Dia am Breitheamh:
leagaidh e sìos am fear fo, agus ard-
aichidh e am fear fin.
8 Oir *tha* cupan [l] an làimh an
Tighearna, agus tha am fion dearg:
làn coimeifg *tha e*, agus dòirtidh e
cuid as: ach a dheafgainean [m] fàifg-
idh agus òlaidh uile dhaoine aingidh
na talmhainn.
9 Ach ni mife gairdeachas [n] gu
bràth; feinnidh mi moladh do Dhia
Iacoib.
10 Agus fgathaidh mi sìos uile
adharca nan aingidh: ardaichear
adharcan an fhìrein.

SALM LXXVI.

Do'n ard fhear-ciuil air Neginot.
Salm *no* laoidh le Afaph.

AITHNICHEAR Dia ann an Iu-
dah; ann an Ifrael *tha* 'ainm
mòr:
2 Agus ann an Salem tha a phàil-
liun,

a *agus a chumas tu do dheas làmh air a h-ais ann ad bhrollach?*
b *uabheift.* c *tobar.* d *aimhne.* e *do mhòr chuideachd* nan
aingidh. f *an ti a bheir aoradh dhuit.* g *do d' choimhcheangal.*
h *bruidheann.* i *buidheachas.* j *gu* bheil *thu am fagus* k *an
coimhthional.* l *copan.* m *dheafgaidh.* n *cuiridh mife
an céill.*

liun, agus 'ionad-còmhnuidh ann an Sion.

3 An ſin bhris e ſaighdean a' bhogha, an ſgiath, agus an claidheamh, agus an cath[a]. Selah.

4 *Is* alloil[b] thuſa, *is* glòrmhor *thu* os cionn bheann na creiche.

5 Chreachadh iadſan a bha miſneachail an cridhe; choidil iad an codal, agus cha d'fhuair na daoine treuna gu léir an làmha.

6 Le d'achmhaſan, a Dhé Iacoib, chuireadh araon am marcach agus an t-each[c] nan ſuain.

7 *Is* cùis eagail thuſa, *eadhon* thuſa: agus cò ſheaſas a'd' làthair an uair a bhios fearg ort?

8 Thug thuſa air breitheanas gu'n cualadh o nèamh e: bha eagal air an talamh, agus bha e na thàmh;

9 An uair a dh'éirich Dia chum breitheanais, a ſhaoradh uile dhaoine ciuine na talmhainn. Selah.

10 Gu cinnteach bheir fearg duine moladh dhuit: fuigheall na feirge coiſgidh tu.

11 Bòidichibh, agus ìocaibh do'n Tighearna bhur Dia: thugadh iadſan uile a ta m'a thimchioll tiodhlaca dha-ſan a's aobhar eagail ann!

12 Sgathaidh e sìos ſpiorad uachdarana: *is* cùis eagail e do righribh na talmhainn.

SALM LXXVII.

Do'n ard fhear-ciuil, do Iedutun. Salm le Aſaph.

LEM' ghuth dh'éigh mi ri Dia, le m' ghuth *dh'éigh mi* ri Dia, agus dh'éiſd e rium.

2 Ann an là mo theinn dh'iarr mi an Tighearn; ſhìneadh mo làmh a mach[d] ſan oidhche gun ſgur; dhiùlt m'anam ſòlas a ghabhail.

3 Chuimhnich mi air Dia, agus bha mi fo bhuaireas[e]; rinn mi gearan, agus chlaoidheadh mo ſpiorad. Selah.

4 Chum thu mo ſhùilean nam faireachadh; tha mi iargunach, agus cha'n urrainn mi labhairt.

5 Smuainich mi air na laithibh o ſhean, air bliadhnaibh na h-aimſir chéin.

6 Chuimhnich mi mo cheòl[f] ſan oidhche; rinn mi cainnt ri m' chridhe féin, agus rannſaich mo ſpiorad gu geur:

7 An tilg an Tighearn uaith gu bràth? agus nach nochd e a dheagh-ghean ni's mò?

8 An do ſguir a chaoimhneas am feaſd? an d'fhàilnich 'fhocal o linn gu linn?

9 An do dhearmaid Dia a bhi gràſmhor? an do dhruid e na chorruich a chaomh-thròcairean? Selah.

10 An ſin thubhairt miſe, *Is* e ſo m'anmhuinneachd: *is* e caochladh deas làimhe[g] an Ti a's airde a th'ann.

11 Cuimhnichidh mi oibre an Tighearna; gu deimhin cuimhnichidh mi t'iongantais o'n aimſir chéin.

12 Agus beachd-ſmuainichidh mi air t'oibribh gu léir, agus air do ghnìomharaibh labhraidh mi.

13 *Tha* do ſhlighe, a Dhé, ſan ionad naomha[h]: cò *a ta* na Dhia mòr mar *ar* Dia-*ne*?

14 *Is* tuſa an Dia a tha deanamh nithe iongantach: thaiſbein thu am meaſg nan ſluagh do neart.

15 Shaor thu le d' ghairdean do ſhluagh, mic[i] Iacoib agus Ioſeiph. Selah.

16 Chunnaic na h-uiſgeachan thu, a Dhé! chunnaic na h-uiſgeachan thu; bha eagal orra, ſeadh, ghluaiſeadh[j] na doimhneachda.

17 Dhòirt na neoil a nuas uiſge, thug na ſpeura fuaim; mar an ceudna chaidh do ſhaighdean a mach.

18 *Bha* guth do thairneanaich ſan ſpeur; ſhoillſich do dhealanaich an ſaoghal; ghluaiſeadh agus chriothnaich an talamh.

19 San fhairge *bha* do ſhlighe, agus do cheumanna anns na h-uiſgibh mòra;

a *agus claidheamh a' chòmhraig.* b *urramach.* c *marcaich nan each; luchd nan carbad-cogaidh agus nan each.* d *ſhil mo ſhùil, ruith mo leòn.* e *mhi-ſhuaimhneas.* f *mo dhàn.* g ach cuimhnichidh mi *bliadhnan deas làimhe.* h *an naomhachd.* Eabh. i *clann, ſliochd.* j *chriothnuich.*

mòra; agus cha d'aithnicheadh luirg do chos.

20 Threòraich thu mar threud do ſhluagh, le làimh Mhaois agus Aaroin.

SALM LXXVIII.

Maſchil le Aſaph.

EISDIBH, O mo ſhluagh, ri m' reachd, aomaibh bhur cluas chum bhriathar mo bhéil.

2 Foſgailidh mi mo bheul ann an coſamhlachd; cuiridh mi ſean-fhocail dhorcha [a] an céill:

3 A chuala ſinn, agus a b'aithne dhuinn, agus a dh'innis ar n-aithriche dhuinn.

4 Cha cheil ſinn air an cloinn *iad*, a' foillſeachadh cliu an Tighearna do'n àl a ta ri teachd, agus a neart, agus 'oibre iongantach a rinn e:

5 Oir chuir e ſuas teiſteas [b] ann an Iacob, agus ſhuidhich e lagh ann an Iſrael, a dh'àithn e d'ar n-aithrichibh gu'n deanadh iad aithnichte d'an cloinn;

6 Chum gu'm biodh fios aig an àl ri teachd *orra*, gu'n éireadh a chlann *a* bheirteadh, agus gu'n cuireadh iad an céill *iad* d'an cloinn féin;

7 Agus gu'n cuireadh iad an dòchas ann an Dia, agus nach dichuimhnicheadh iad oibre Dhé, ach gu'n gleidheadh iad 'àitheanta [c];

8 Agus nach bitheadh iad mar an aithriche, nan ginealach reaſgach [d] agus ceannairceach, ginealach nach do ſhuidhich an cridhe gu ceart, agus aig nach robh an ſpiorad tairis do Dhia.

9 Ge do bha clann Ephraim fo'n armaibh, agus ge do thilgeadh iad le bogha, phill iad air an ais ann an latha catha.

10 Cha do ghléidh iad coimhcheangal Dhé, agus dhiùlt iad imeachd na reachd.

11 Agus dhi-chuimhnich iad 'oibre, agus 'iongantais a nochd e dhoibh.

12 An làthair an aithriche rinn e nithe iongantach, ann an tìr na h-Eiphit, ann am machair Shoain.

13 Sgoilt e an fhairge, agus thug e iadſan thairis; agus thug e air na h-uiſgeachaibh ſeaſamh mar thorr.

14 Agus ſtiuir e iad le neul ſan latha, agus air feadh na h-oidhche le ſolus teine.

15 Sgoilt e na creagan ſan fhàſach, agus thug e deoch dhoibh, mar a doimhneachdaibh mòra.

16 Agus thug e ſrutha a mach as a' charraig, agus thug e air uiſgibh ruith sìos mar aibhnibh.

17 Gidheadh pheacaich iad fathaſt ni's mò na aghaidh, a' broſnachadh an Ti a's airde ſan fhàſach.

18 Agus bhuair iad [e] Dia nan cridhe, ag iarraidh bìdh d'am miann.

19 Seadh, labhair iad an aghaidh Dhé; thubhairt iad, An urrainn Dia bord a dheaſachadh ſan fhàſach?

20 Feuch, bhuail e a' chreag, agus bhrùchd uiſgeacha mach, agus dh'éirich na tuilte: an urrainn e mar an ceudna aran a thabhairt? an deaſaich e feoil d'a ſhluagh?

21 Uime ſin chual an Tighearn, agus bha corruich air; agus las teine an aghaidh Iacoib, agus mar an ceudna dh'éirich fearg an aghaidh Iſraeil:

22 A chionn nach do chreid iad ann an Dia, agus nach d'earb iad as a ſhlàinte;

23 Ge d'a dh'àithn e do na neulaibh o'n airde, agus ge d'a dh'fhoſgail e dorſa nan nèamh;

24 Agus ge do fhras e nuas mana orra r'a itheadh, agus ge do thug e dhoibh coirc nan nèamh.

25 Dh'ith daoine biadh nan aingeal: thug e dhoibh an sàth do lòn.

26 Thug e air gaoith an ear imeachd ſna nèamhaibh, agus le a neart thug e ſtigh a' ghaoth a deas.

27 Agus fhras e nuas feoil orra mar dhuſlach [f], agus eunlaith iteagach [g] mar ghaineamh na fairge.

28 Agus thug e orra tuiteam am meadhon an campa, mu thimchioll an àitean-còmhnuidh.

29 Agus

a *ſgeula o'n t-ſean aimſir.* b *ſianuis.* c *a àitheantan.* d *eaſ-caoin, ſiar, eaſ-umhal.* e *dhearbh, dh'fheuch, chuir iad cathachadh air.* f *luaithre.* g *ſgiathanach.*

29 Agus dh'ith iad, agus làn-ſhàſuicheadh iad; oir thug e dhoibh am miann féin.

30 Cha robh iad air an ſgarachduinn o am miann: fathaſt *bha* am biadh nam beul.

31 An ſin thàinig fearg Dhé orra, agus mharbh e iadſan bu ſhultmhoire [a] dhiubh, agus leag e sìos daoine taghta Iſraeil.

32 An déigh ſo gu léir pheacaich iad fathaſt, agus cha do chreid iad air ſon 'oibre iongantach-ſan.

33 Uime ſin chaith e an laithean ann an dìomhanas, agus am bliadhnacha ann an uamhas [b].

34 'Nuair a mharbh e iad, an ſin dh'iarr iad e, agus phill iad, agus bha iad gu moch ag iarraidh Dhé [c];

35 Agus chuimhnich iad gu'm *b'e* Dia an carraig, agus an Dia a's airde am fear-ſaoraidh.

36 Ach rinn iad miodal ris le'm beul, agus rinn iad breug dha le'n teangaidh:

37 Oir cha robh an cridhe ceart maille ris, agus cha robh iad dìleas [d] na choimhcheangal.

38 Gidheadh gu h-iochdmhor mhaith eſan *an* lochd, agus cha do ſgrios e *iad;* ſeadh, iomadh uair thionndaidh e 'fhearg uaith, agus cha do dhùiſg e a chorruich uile;

39 Oir chuimhnich e nach *robh* annta ach feoil; oſag gaoithe a ſhiubhlas, agus nach pill a rìs.

40 Cia tric a bhroſnuich iad e anns an fhàſach, a chuir iad campar air anns an ionad uaigneach?

41 Seadh, phill iad air an ais, agus bhuair [e] iad Dia, agus chuir iad tomhas air Aon naomha Iſraeil.

42 Cha do chuimhnich iad a làmh, *no*'n là air an do ſhaor e iad o'n nàmhaid [f];

43 Mar a nochd e a chomharan anns an Eiphit, agus 'oibre iongantach ann am machair Shoain;

44 Agus a thionndaidh e an uiſgeacha gu fuil, agus an ſrutha, air chor as nach feudta òl diubh;

45 A chuir e nam meaſg iomadh gné chuileag [g], a dh'ith ſuas iad, agus loſgainn a ſgrios iad;

46 A thug e an toradh do'n bhurras [h], agus an ſaothar do'n locuſt;

47 A mhill e an croinn-fhìona le cloich-mheallain, agus an croinnfhìge [i] le reodhadh;

48 Agus a thug e thairis am feudail [j] do'n chloich-mheallain, agus an treuda do'n tein-athair;

49 A thilg e orra teas 'fheirge, boile [k], agus corruich, agus teinn, le aingil olc a chur *nam meaſg;*

50 A rinn e ſlighe d'a fheirg, nach do chaomhain e an anam o'n bhàs, ach a thug e thairis am beatha do'n phlàigh;

51 Agus a bhuail e gach ceud-ghin ſan Eiphit, toiſeach an neirt ann am pàilliunaibh Ham;

52 Ach a thug e mach mar chaoraich a ſhluagh féin, agus a threòraich e iad mar threud anns an fhàſach;

53 Agus a ſtiuir e iad gu tèaruinte, air chor as nach robh eagal orra, ach a chòmhdaich an fhairge an naimhdean;

54 Agus a thug e iad gu crìch 'ionaid naomha-ſan, do'n t-ſliabh ſo *a* choiſinn a dheas làmh;

55 Agus a thilg e mach na cinnich rompa, agus a roinn e oighreachd dhoibh [l] le crannchur, agus a thug e air treubhaibh Iſraeil còmhnuidh a ghabhail nam pàilliunaibh ſan.

56 Gidheadh bhuair agus bhroſnuich iad an Dia a's airde, agus cha do ghléidh iad a theiſteis.

57 Ach phill iad, agus ghluais iad gu fealltach, mar an aithriche; chaidh iad a thaoibh, mar bhogha fiar [m];

58 Agus bhroſnuich iad e le'n ionadaibh arda, agus le'n dealbhaibh gearrta dhùiſg iad e gu h-eud.

59 Chuala-

a *a b'fhearr, bu làidire.* b *carroid, rabhaig.* c *a' teachd gu moch a dh'ionnſuidh Dhé.* d *Laingean, ſeaſmhach.* e *bhroſnuich.* f *o theinn.* g *chonachuileag.* h *caterpiller.* Saſg. *haſil.* Eabh. i *ſicomoir.* j *an crodh, an ainmhidhean.* k *buile.* l *a roinn e am fearann dhoibh.* m *claon, meallltach, cealgach.*

59 Chuala Dia, agus bha fearg air, agus ghabh e gràin mhòr do Iſrael.

60 Agus thréig e pàilliun Shilo, am bùth [a] *a* ſhuidhich e am meaſg dhaoine.

61 Agus thug e ſuas a neart gu braighdeanas, agus a ghlòir do làimh an nàmhaid.

62 Agus thug e thairis a ſhluagh do'n chlaidheamh, agus ghabh e fearg r'a oighreachd.

63 Loiſg an teine an òigridh, agus cha d'fhuair an òighean pòſadh [b].

64 Thuit an ſagairt leis a' chlaidheamh, agus cha d'rinn am bantraich bròn.

65 An ſin mhoſgail an Tighearna mar neach a bha na chodal, mar churaidh a ni iolach an déigh dha fion òl.

66 Agus bhuail e a naimhdean nan deireadh; thug e maſladh bithbhuan dhoibh.

67 Agus dhiùlt e pàilliun Ioſeiph, agus cha do thagh e treubh Ephraim.

68 Ach thagh e treubh Iudah, ſliabh Shioin a ghràdhaich e.

69 Agus thog e 'ionad [c] naomha féin mar *lùchairt* ard, mar an talamh [d] a ſhuidhich e gu bràth.

70 Agus thagh e Daibhidh 'òglach, agus thug ſe e o chrò nan caorach.

71 O bhi 'n déigh nan caorach a bha trom le h-àl, thug ſe e a bheathachadh Iacoib a ſhluaigh, agus Iſraeil 'oighreachd.

72 Agus bheathaich e iad a réir ionracais a chridhe; agus le ſeòltachd a làmh ſtiuir e iad.

SALM LXXIX.

Salm le Aſaph.

A DHE, thàinig na cinnich a ſteach do d' oighreachd; thruaill iad do theampull naomha; dh'fhàg iad Ieruſalem na carnaibh.

2 Thug iad cuirp do ſheirbhiſeach mar bhiadh do eunlaith nan ſpeur, feoil do naomh do fhiadh bheathaichibh na talmhainn.

3 Dhòirt iad am fuil mar uiſge timchioll Ieruſaleim, agus cha *robh* neach gu'*n* adhlacadh.

4 Tha ſinn nar maſladh d'ar coimhearſnachaibh, nar n-aobhar fanoid agus magaidh dhoibhſan a tha mu'n cuairt oirnn.

5 Cia fhad, a Thighearn, a bhios fearg ort? gu bràth an las t'eud, mar theine?

6 Dòirt do chorruich air na cinnich aig nach 'eil eòlas ort, agus air na rìoghachdaibh nach gairm air t'ainm.

7 Oir chuir iad as do [e] Iacob, agus rinn iad 'àite-còmhnuidh na fhàſach.

8 Na cuimhnich thuſa nar n-aghaidh ar n-eucearta roimhe ſo [f]: gu luath gabhadh do thròcairean romhainn; oir thugadh gu ro-ìoſal ſinn.

9 Cuidich leinn, a Dhé ar ſlàinte, air ſgàth glòire t'ainme; agus teaſairg ſinn, agus glan ar peacaidh uainn air ſon t'ainme féin.

10 C'ar ſon a theireadh na cinnich, C'àit *am bheil* an Dia? aithnichear am meaſg nan cinneach fa chomhair ar sùl dioghaltas fola [g] do ſheirbhiſeach, a dhòirteadh!

11 Thigeadh oſnaich a' phrioſunaich a'd' làthair, a réir meud do neirt [h]: ſaor thuſa iadſan a dh'òrduicheadh chum bàis [i].

12 Agus dìol d'ar coimhearſnachaibh a ſheachd uiread nam brollach, am maſladh leis an do mhaſluich iad thuſa, a Thighearna.

13 Agus molaidh ſinne do ſhluagh, agus caoraich t'ionaltraidh, thuſa gu bràth: o linn gu linn cuiridh ſinn an ceill do chliu.

a *am pubull, an t-ionad-còmhnuidh.* b *cha do mholadh an òighean.* c *a ionad.* d *ann an* ionad *ard, air an talamh.* e *dh'ith iad ſuas, mhill iad.* f *ar ſoann pheacanna.* g *aithnichear eſan am meaſg nan cinneach nar ſealladh féin le dioghaltas* a ghabhail *air fuil.* h *do ghairdein.* Eabh. i *mic a' bhàis.*

SALM LXXX.

Do'n ard fhear-ciuil air Soſanim
Edut. Salm le Aſaph.

O AODHAIRE[a] Iſraeil, éiſd,
thuſa a ſtiuireas Ioſeph mar
threud, thuſa a tha d' chòmhnuidh
eadar na cheruban, dealraich a
mach.
2 An làthair Ephraim, agus Bhen-
iamin, agus Mhanaſeh, dùiſg do
chumhachd, agus thig gu'r ſaoradh.
3 Pill ſinn, a Dhé; agus thoir
air do ghnùis dealrachadh, agus ſaor-
ar ſinn.
4 A Thighearna Dhé nan ſlògh,
cia fhad a bhios fearg ort ri ùrnuigh
do ſhluaigh?
5 Thug thu dhoibh aran nan deur
r'a itheadh, agus thug thu dhoibh
deoir r'an òl am pailteas.
6 Rinn thu ſinn nar n-aobhar ſtri
d'ar coimhearſnachaibh; agus ni ar
n-eaſcairdean gàire-fanoid umainn[b].
7 A Dhé nan ſlògh, pill ſinn; a-
gus thoir air do ghnùis dealrachadh,
agus ſaorar ſinn.
8 Thug thu fionain[c] as an Eiphit;
thilg thu mach na cinnich, agus
ſhuidhich thu *i*.
9 Réitich thu *àite* fa comhair, a-
gus thug thu oirre freumhachadh gu
daingean, agus lìon i an tìr.
10 Chòmhdaicheadh[d] beannta *le*
a ſgàile, agus *le* a geugaibh ſeudair
arda[e].
11 Chuir i mach a meoir gu ruig
a' mhuir, agus a meanglain[f] gu ruig
an abhuinn.
12 C'ar ſon a bhris thu sìos a
ballacha-dìonaidh[g], air chor as gu
bheil uile luchd-gabhail na ſlighe 'ga
ſpìonadh?
13 Tha an torc as a' choille 'ga
fàſachadh, agus tha fiadh-bheathach
na macharach 'ga h-itheadh ſuas.
14 A Dhé nan ſlògh, pill, guidh-
eamaid ort; amhairc a nuas o nèamh,
agus faic, agus fiofraich an fhìonain
ſo;
15 Agus am fion-lios a ſhuidhich
do dheas-làmh, agus am meanglan *a*
neartaich thu dhuit féin[h].
16 Loiſgeadh i le teine, ghearradh
sìos i: le achmhaſan do ghnùiſe ſgrioſ-
ar iad.
17 Biodh do làmh air fear do laimhe
deiſe, air mac an duine *a* neartaich
thu dhuit féin.
18 An ſin cha phill ſinn air ar
n-ais uait: beothaich ſinn, agus
gairmidh ſinn air t'ainm.
19 A Thighearna Dhé nan ſlògh,
pill ſinn, thoir air do ghnùis dealrach-
adh, agus ſaorar ſinn.

SALM LXXXI.

Do'n ard fhear-ciuil air Gitit,
Salm le Aſaph.

SEINNIBH gu h-ait do Dhia, ar
neart; togaibh iolach do Dhia
Iacoib.
2 Glacaibh ſalm, agus thugaibh
tiompan leibh; a' chlàrſach bhinn
maille ris an t-ſaltair.
3 Anns a' ghealaich nuaidh[i] ſéid-
ibh an trompaid, anns an àm ſhuidh-
ichte, air latha ar féille.
4 Oir *bu* reachd ſo do Iſrael, riagh-
ailt le Dia Iacoib.
5 Mar fhianuis ſhuidhich ſe e ann
an Ioſeph, an uair a thàinig e mach
a tìr na h-Eiphit, *far* an cual e cainnt
nach do thuig e[j].
6 O'n eallaich thug mi as a
ghuala: o na potaibh[k] ſhaoradh a
làmhan.
7 Ann an teinn ghairm thu, agus
ſhaor mi thu; fhreagair mi thu ann
an ionad dìomhair na tairneanaich:
dhearbh mi thu làimh ri uiſgibh
Mheribah. Selah.
8 Eiſd, O mo ſhluagh, agus bheir
mi fianuis dhuit; O Iſrael, ma dh'éiſd-
eas tu rium;
9 Cha bhi Dia coigreach annad[l],
agus cha chrom thu sìos do dhia
coimheach.
10 *Is* miſe an Tighearna do Dhia,
a thug a nìos thu a tìr na h-Eiphit:
foſgail do bheul gu farſuing, agus
lìonaidh,

P 3

a *bhuachaille.* b *leo féin.* c *fineamhuin, crann-fiona.* d *Chòmhdaich.* e bha *a geugan* mar *ſheudair arda.* f *geugan.* g *a callaidean.* h *Agus daingnich an ni a ſhuidhich do dheas làmh; [eadhon air ſon mic an duine, a neartaich thu dhuit féin.]* i *nomha.* j *chuala mi teanga nach do thuig mi.* k *o ſhoithichibh-giùlan na creadha.* l *agad.*

lionaidh miſe e.

11 Gidheadh cha d'éiſd mo ſhluagh ri m' ghuth, agus cha do ghabh Iſrael rium.

12 Uime ſin thug mi thairis iad do anamhiann an cridhe féin; dh'imich iad nan comhairle féin.

13 O nach éiſdeadh mo ſhluagh rium! nach imicheadh Iſrael a'm' ſhlighibh!

14 Gu luath leagainn sìos an eaſcairdean, agus thionndaidhinn mo làmh an aghaidh an naimhdean.

15 Bheireadh luchd-fuath an Tighearna ùmhlachd dha: ach mhaireadh an aimſir-ſan gu bràth.

16 Agus bheathaicheadh e iad le ſmior a' chruineachd: agus le mil o'n charraig ſhàſuichinn thu [a].

SALM LXXXII.

Salm le Aſaph.

THA Dia na ſheaſamh ann an coimhthional nan cumhachdach [b]: am meaſg nan dé bheir e breth.

2 Cia fhad a bheir ſibh breth gu h-eucorach, agus a ghabhas ſibh ri gnùis [c] dhaoine aingidh? Selah.

3 Deanaibh ceartas do'n bhochd agus do'n dìlleachdan; cumaibh còir ris an truaghan [d] agus ris an fheumach.

4 Teaſairgibh am bochd agus an t-ainnis; as làimh nan aingidh ſaoraibh *iad.*

5 Cha 'n'eil eòlas no tuigſe aca; ann an dorchadas gluaiſidh iad: tha uile bhunaitean na talmhainn air chrith [e].

6 Thubhairt mi, *Is* dée ſibh, agus *is* mic ſibh uile do'n Tì a's airde.

7 Ach gheibh ſibh bàs mar dhaoine, agus tuitidh ſibh mar aon do na h-uachdaranaibh.

8 Eirich, a Dhé, thoir breth air an talamh; oir ſealbhaichidh tu na h-uile chinnich mar oighreachd.

SALM LXXXIII.

Laoidh *no* Salm le Aſaph.

A DHE, na bi a'd' thoſd; na bi ſàmhach, agus na bi a'd' thàmh, a Dhé:

2 Oir feuch, tha do naimhdean ri buaireas; agus thog iadſan le'm fuathach thu, ſuas an cinn.

3 An aghaidh do ſhluaigh gu cuilbheartach dhealbh iad olc [f]; agus ghabh iad comhairle le chéile an aghaidh do mhuinntir dhìomhair.

4 Thubhairt iad, Thigibh, agus gearramaid as iad o *bhi* nan cinneach, chum nach cuimhnichear ainm Iſraeil ni's mò:

5 Oir le h-aon inntinn ghabh iad comhairle le chéile, a't' aghaidh-ſa rinn iad coimhcheangal.

6 Pàilliuna Edoim agus na h-Iſmaelich, Moab agus na Hagaraich,

7 Gebal, agus Amon, agus Amalec, na Philiſtich maille ri luchd-àiteachaidh Thìor [g].

8 Mar an ceudna dhlùth-lean Aſur riu: bu chòmhnadh iad do chloinn Lot. Selah.

9 Dean orra mar *air* Midian, mar *air* Siſera, mar *air* Iabin, aig ſruth Chiſoin;

10 A ſgrioſadh aig Endor, a rinneadh mar aolach do'n talamh.

11 Dean an ard uaiſlean [h] mar Oreb, agus mar Sheeb, agus an uachdarain gu léir mar Sheba, agus mar Shalmuna;

12 A thubhairt, Glacamaid dhuinn féin mar oighreachd àiteacha-còmhnuidh Dhé.

13 O mo Dhia, dean iad mar roth [i], mar aſbhuain roimh'n ghaoith.

14 Mar a loiſgeas teine a' choille, agus mar a chuireas laſair na beannta ri theine;

15 Mar ſin dean thuſa tòrachd orra le d' dhoininn, agus le d' iomaghaoith cuir uamhann orra.

16 Lìon an eudan le maſladh, chum gu'n iarr iad t'ainm, a Thighearn.

17 Biodh amhluadh agus buaireas

orra

a *ſhàſuicheadh e iad.* b *ſan ard choimhthional.* c *pearſa.* d *an duine chràite.* e *air an corruchadh.* f *ghabh iad comhairle chuilbheartach.* g *Thiruis.* h *iad féin agus an ard-uaiſlean.* i *mar mholl air iomain mu'n cuairt.*

orra gu bràth; feadh, glacadh nàire
iad agus fgriofar iad:
18 Chum gu'm bi fhios aig *daoin-
ibh* gur tufa mhàin, d'an ainm Ie-
hobhah, an Ti a'*s* airde os cionn na
talmhainn uile.

SALM LXXXIV.

Do'n ard fhear-ciuil air Gitit.
Salm air fon mhic Chorah.

CIA fo-ghràdhach do phàilliuna, a
Thighearna nan flògh!
2 Tha m'anam a' miannachadh,
feadh, eadhon a' fannachadh [a] le
déigh air cùirtibh an Tighearna:
tha mo chridhe agus m'fheoil ag
éigheach gu h-ard air fon an Dé
bheo.
3 Fhuair eadhon an gealbhonn
tigh, agus an gobhlan-gaoithe nead
dh'i féin, anns an cuireadh i a h-àl-
ach; t'altairean-fa [b], a Thighearna
nan flògh, mo Dhia, agus mo Righ.
4 *Is* beannuichte iadfan a tha nan
còmhnuidh a'd' thigh-fa: molaidh
iad thu a ghnàth. Selah.
5 *Is* beannuichte an duine fin aig
am bheil a neart annadfa, *agus iad-
fan aig am bheil* do fhlighean [c] nan
cridhe.
6 A' dol trìd ghlinn Baca [d], ni
iad fin tobar [e] ann: lìonaidh mar an
ceudna an t-uifge na linnte.
7 Imichidh iad o neart gu neart;
nochdar *gach aon diubh* an làthair
Dhé ann an Sion.
8 A Thighearna Dhé nan flògh,
cluinn m'ùrnuigh; éifd, a Dhé Ia-
coib. Selah.
9 A Dhé, ar fgiath, faic, agus
amhairc air gnùis t'Aoin ungta:
10 Oir *is* fearr là a'd' chùirtibh na
mìle: b'fhearr leam a bhi ri dorfair-
eachd ann an tigh mo Dhé, na bhi'm
chòmhnuidh ann am pàilliunaibh
aingidheachd:
11 Oir *is* grian agus *is* fgiath an
Tighearna Dia, agus bheir an Tigh-
earna gràs agus glòir; cha chum e
maith air bith uatha-fan a ghluaifeas
gu h-ionraic.
12 A Thighearna nan flògh, *is*
beannuichte an duine a chuireas a
dhòigh annadfa.

SALM LXXXV.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm air
fon mhac Chorah.

BHA thufa baigheil, a Thighear-
na, ri d' thìr: thug thu air
ais braighdeanas [f] Iacoib.
2 Mhaith thu [g] cionta do fhluaigh;
dh'fholuich thu am peacadh uile.
Selah.
3 Choifg thu do chorruich uile;
thionndaidh thu o fhraoch t'fheirge.
4 Pill finn, a Dhé ar flàinte, agus
tog t'fhearg dhinn.
5 Gu bràth am bi corruich ort
ruinn? an sìn thu t'fhearg o linn gu
linn?
6 Nach ath-bheothaich thu finn?
chum gu dean do fhluagh gairdeach-
as annad?
7 Nochd dhuinn, a Thighearna,
do thròcair, agus deònuich dhuinn do
fhlàinte.
8 Cluinnidh mi ciod a their Dia
an Tighearna: oir labhraidh e sìth
r'a fhluagh, agus r'a naomhaibh;
ach na pilleadh iad chum amaid-
eachd.
9 Gu dearbh *tha* a fhlàinte dlùth
dhoibhfan d'an eagal e; chum gu'n
còmhnuich glòir nar tìr.
10 Tha tròcair agus firinn air
còmhlachadh [h] a chéile: tha ceart-
as agus sìth air pògadh a chéile.
11 Fàfaidh firinn a nìos as an ta-
lamh, agus feallaidh ceartas a nuas
o na nèamhaibh.
12 Seadh, bheir an Tighearna
maith *dhuinn*, agus bheir ar fearann
uaith a thoradh [i].
13 Imichidh ceartas [j] roimhe, a-
gus ftiùraidh e a cheumanna fan
t-flighe [k].

SALM

a *a'laguchadh, air a chlaoith, meata.* b *làimh ri t'altairibh-fa* c *Is beannuichte an fluagh fin aig* am bheil *an neart annadfa, aig* am bheil *do fhlighean.* d *ghlinn nan deur, ghlinn a' bhròin.* e *òlaidh iad do thobar.* f *braighdean.* g *thug thu air falbh.* h *coinneachadh.* i *'fhàs.* j *am firean.* k *ftiùraidh e* finn *air flighe a cheumanna.*

SALM LXXXVI.

Urnuigh le Daibhidh.

AOM, a Thighearna, do chluas,
éisd rium: oir *tha* mi bochd
agus uireasbhuidheach.
2 Gléidh m'anam, oir *a ta* mi
diadhaidh [a]: O thusa mo Dhia, saor
t'òglach, a dh'earbas asad.
3 Dean tròcair orm, a Thighear-
na; oir tha mi a' glaodhaich riut
gach là [b].
4 Dean anam t'òglaich féin aoi-
bhinn; oir riutsa, a Thighearna, tog-
aidh mi m'anam:
5 Oir *a ta* thusa, a Thighearna,
maith agus iochdmhor, agus pailt
ann an tròcair dhoibhsan uile a ghairm-
eas ort.
6 Eisd, a Thighearna, ri m'ùr-
nuigh, agus thoir fa'near guth m'ath-
chuinge.
7 Ann an latha mo theinn gairm-
idh mi ort; oir freagraidh tu mi.
8 Cha *'n'eil* do shamhuil-sa am
measg nan dé, a Thighearna; agus
cha *'n'eil oibre* ann, cosmhuil ri
t'oibribh-sa.
9 Thig na cinnich uile a rinn thu,
agus sleuchdaidh iad a'd' làthair, a
Thighearn, agus bheir iad glòir do
t'ainm.
10 Oir *is* mòr thusa, agus *tha* thu
deanamh nithe iongantach; *is* tusa
Dia, thu féin a mhàin.
11 Teagaisg dhomh, a Thighear-
na, do shlighe; gluaisidh mi a't'fhìr-
inn: coimhcheangail mo chridhe [c],
chum eagal t'ainme bhi orm.
12 Molaidh mi thu, a Thighearna
mo Dhia, le m'uile chridhe, agus
bheir mi glòir [d] do t'ainm gu bràth:
13 Oir *is* mòr do thròcair ormsa,
agus shaor thu m'anam o'n t-slochd [e]
a's iochdaraiche.
14 A Dhé, dh'éirich na h-uaibh-
rich a'm' aghaidh, agus dh'iarr coimh-
thional luchd-foirneirt m'anam; a-
gus cha do chuir iad thusa rompa.
15 Ach *a ta* thusa, a Thighearn,
a'd' Dhia iochdmhor, agus gràsmhor,
mall chum feirge, agus pailt ann an
tròcair agus am fìrinn.
16 Amhairc orm [f], agus dean
tròcair orm; thoir neart [g] do t'òglach,
agus saor mac da bhanoglaich.
17 Thoir dhomh comhara air
mhaith, chum gu faic iadsan *a* aig
am bheil fuath dhomh, agus gu'n
gabh iad nàire, a chionn, a Thigh-
earna, gu'n do chuidich thusa leam,
agus gu'n d'thug thu comhfhurtachd
dhomh.

SALM LXXXVII.

Salm *no* laoidh air son mhac Cho-
rah.

THA a bhunait anns na beanntaibh
naomha.
2 *Is* ionmhuinn leis an Tighearna
geatacha Shioin, thar uile ionada-
còmhnuidh Iacoib.
3 Innsear nithe glòrmhor ortsa,
a chathair [h] Dhé. Selah.
4 Cuimhnichidh mi Rahab agus
Babel dhoibhsan d'an aithne mi:
feuch, Palestin, agus Tìor, maille ri
h-Etiopia; rugadh am *fear* so an
sin.
5 Ach mu Shion theirear, Rugadh
am fear so agus am fear ud innte, a-
gus daingnichidh an Tì a's airde i.
6 Comhairichidh an Tighearna [i],
'nuair a scrìobhas e sìos na fineacha,
gu'n d'rugadh am *fear* so an sud.
Selah.
7 *Bithidh* araon luchd-seinn agus
luchd-ciuil *an sin*: *tha* mo thobair
uile annadsa.

SALM LXXXVIII.

Laoidh *no* salm air son mhac Cho-
rah, do'n ard fhear-ciuil air
Mahalat-Leanot, Maschil le He-
man an t-Esrahach.

A THIGHEARN a Dhé mo
shlàinte, a là agus a dh'oidh-
che ghlaodh mi a't' fhianuis.
2 Thigeadh m'ùrnuigh a'd' làth-
air; aom do chluas ri m' ghlaodh:
3 Oir tha m'anam làn truaighe [j],
agus tha mo bheatha dlùth do'n
uaigh.

4 Mheasadh

a *oir* a ta *mi naomha*, *oir* a ta *thusa maith*. b *rè an latha*. c *aonaich*, *druid mo chridhe* riut. d *urram*. e *o ifrinn*, *o'n uaigh*. f *Pill rium*. g *do neart*. h *a mhòr bhaile*. i *Airmhidh an Tighearna*. j *do olcaibh*. Eabh.

4 Mheasadh mi mar iadsan a théid sìos do'n t-slochd; tha mi mar dhuine gun neart;

5 Saor am measg nam marbh, mar iadsan a mharbhadh, a ta nan luidhe san uaigh, air nach 'eil cuimhne agad ni's mò; oir o d' làimh [a] ghearradh as iad.

6 Chuir thu mi san t-slochd a's ìsle ann an dorchadas, anns na doimhneachdaibh [b].

7 Luidh t'fhearg orm gu teann, agus le d' thonnaibh uile chlaoidh thu mi. Selah.

8 Chuir thu mo luchd-eòlais fad uam; rinn thu mi a'm' ghràineileachd dhoibh: druidte suas *tha mi*, agus cha'n urrainn mi teachd a mach.

9 Tha mo shùil a' fàilneachadh [c] a bhrìgh m'àmhghair; ghairm mi ort, a Thighearna, gach là; shìn mi mo làmhan riut.

10 Do na marbhaibh an nochd thu iongantais? an éirich na mairbh, agus am mol iad thu? Selah.

11 An cuirear an céill do chaoimhneas caomh san uaigh? t-fhìrinn ann an sgrios?

12 An aithnichear t'iongantais anns an dorchadas? agus t'fhìreantachd ann an talamh na dì-chuimhne?

13 Ach riutsa, a Thighearna, ghlaodh mise; agus anns a' mhaduinn thig m'ùrnuigh a'd' làthair.

14 C'ar son, a Thighearn, a thilgeas tu m'anam uait? a dh'fholaicheas tu do ghnùis uam?

15 *Tha* mise air mo chràdh, agus dlùth do'n bhàs, o *m*'òige; dh'fhuiling mi t'uamhasan, tha mi an imcheist.

16 Dh'imich t'fhearg gheur tharum; chlaoidh t'uamhasa mi.

17 Chaidh iad timchioll orm mar uisge gach là; chuairtich iad mi le chéile.

18 Chuir thu fear mo ghaoil agus mo charaid fad uam: *tha* luchd m'eòlais ann an dorchadas.

SALM LXXXIX.

Maschil [d] le h-Etan an t-Esrahach.

AIR tròcairibh an Tighearna gu bràth seinnidh mi; o linn gu linn foillsichidh mi t'fhìrinn le m' bheul:

2 Oir thubhairt mi [e], Gu bràth togar suas tròcair; anns na nèamhaibh daingnichidh tu t'fhìrinn, *ag ràdh*,

3 Rinn mi coimhcheangal ri m'Aon taghta; mhionnuich mi do Dhaibhidh, m'òglach.

4 Gu bràth daingnichidh mi do shliochd, agus togaidh mi suas do righ-chaithir o linn gu linn. Selah.

5 Molaidh na nèamha t'iongantais, a Thighearna; mar an ceudna t-fhìrinn ann an coimhthional nan naomh.

6 Oir cò ann am flaitheanas [f] a choimhmeasar ris an Tighearna? *cò* am measg mhac nan cumhachdach a shamhluichear ris an Tighearna?

7 Is aobhar eagail Dia gu mòr ann an coimhthional nan naomh; agus is còir urram a thabhairt da os an cionn-san uile *a tha* mu'n cuairt da.

8 A Thighearna Dhé nan slògh, cò *a ta* cosmhuil riut? treun *a ta* thu, a Thighearna, agus *tha* t'fhìrinn mu'n cuairt duit.

9 Riaghlaidh tusa onfha [g] na fairge: 'nuair a dh'éireas a tonnan, coisgidh tu iad.

10 Mhìn-phronn thu Rahab, mar dhuine leònta [h]; le gairdean do neirt sgap thu do naimhdean.

11 *Is* leatsa na nèamha, mar an ceudna *is* leat an talamh; shuidhich thusa an cruinne-cé, agus a làn.

12 Chruthaich thusa an airde tuath, agus an airde deas; ni Tabor agus Hermon gairdeachas ann ad ainm.

13 Agadsa *tha* gairdean neartmhor: is làidir do làmh, is ard do dheas làmh.

14 *Is* iad ceartas agus breitheanas àite-tàimh do righ-chaithreach; théid tròcair

a *le d' làimh.* b *ann an sgàile a' bhàis.* c *ri bròn.* d *Teagasg.* e *thu.* f *anns na speuraibh, sna neulaibh.* g *ansa, uabhar.* h *sathta trìd, air a mharbhadh.*

tròcair agus firinn roimh do ghnùis.
15 *Is* beannuichte an fluagh d'an
aithne an fhuaim aoibhneach: imich-
idh iad, a Thighearn, ann an folus
do ghnùife.
16 Ann ad ainm-fa ni iad gaird-
eachas air feadh an là; agus ann ad
fhìreantachd ardaichear iad.
17 Oir *is* tufa glòir an neirt; agus
ann ad dheadh-ghean ardaichear [a] ar
n-adharc.
18 Oir *is* e'n Tighearn ar fgiath [b],
agus Aon naomha Ifraeil ar Righ.
19 An fin labhair thu ann an
taifbeanadh [c] ri d' Aon naomha [d],
agus thubhairt thu, Chuir mife cuid-
eachadh air aon a ta cumhachdach,
dh'ardaich mi aon taghta as an
t-fluagh.
20 Fhuair mi Daibhidh m'òglach;
le m'oladh naomh dh'ung mi e:
21 Le'm bi mo làmh gu daingean:
mar an ceudna neartaichidh mo
ghairdean e.
22 Cha tog an nàmhaid cìs dheth [e];
agus cha chlaoidh mac an uilc e.
23 Agus pronnaidh [f] mi a naimhd-
ean roimhe, agus buailidh mi iadfan
le'm fuathach e.
24 Agus *bithidh* m'fhìrinn agus
mo thròcair maille ris, agus ann am
ainmfa arduichear 'adharc-fan.
25 Agus cuiridh mi a làmh [g] anns
an fhairge, agus a dheas làmh anns
na h-aibhnibh [h].
26 Glaodhaidh e rium, *Is* tu
m'athair, mo Dhia, agus carraig mo
fhlàinte.
27 Mar an ceudna ni mi *mo* cheud-
ghin dheth, ard os cionn righre na
talmhainn.
28 Gu bràth gleidhidh mi mo
thròcair dha, agus bithidh mo choimh-
cheangal feafmhach leis.
29 Agus fuidhichidh mi gu bràth
a fhliochd, agus a righ-chaithir mar
laithibh nan nèamh.
30 Ma thréigeas a chlann mo
lagh, agus nach gluais iad ann am
bhreitheanafaibh;
31 Ma mhi-naomhaicheas iad mo
reachdan, agus nach gléidh iad m'àith-
eantan;
32 An fin fiofraichidh mi le flait
an eufaontas, agus le buillibh an eu-
ceart.
33 Gidheadh, cha bhuin mi gu
tur mo chaomhneas-gràidh uaith, a-
gus cha bhreugaich mi mo gheall-
adh.
34 Cha bhris mi mo choimh-
cheangal; agus an ni a thàinig a m'
bhilibh cha chaochail mi.
35 Aon uair mhionnaich mi air
mo naomhachd, nach dean mi breug
do Dhaibhidh.
36 Mairidh a fhliochd gu bràth,
agus a righ-chaithir mar a' ghrian
a'm' làthair.
37 Mar a' ghealach, daingnichear
e gu bràth; agus mar fhianuis dhìl-
eas ann an nèamh. Selah.
38 Ach thilg thu uait, agus ghabh
thu gràin [i]; bha fearg ort ri t'Aon
ungta.
39 Sgaoil thu coimhcheangal t'òg-
laich; thruaill thu a choron, *g'a
thilgeadh* gu làr.
40 Bhris thu a' bhallacha-dìon-
aidh uile; rinn thu a dhaingneacha
na fgrios.
41 Creachaidh iadfan uile a ghabh-
as an t-flighe e: tha e na mhafladh
d'a choimhearfnachaibh.
42 Thog thu fuas deas làmh a
naimhdean; rinn thu 'eafcairdean
uile ait.
43 Mar an ceudna phill thu fao-
bhar a chlaidheimh, agus cha d'thug
thu air feafamh anns a' chath.
44 Chuir thu as d'a ghlòir [j], agus
thilg thu sìos a righ-chaithir gu làr.
45 Ghiorraich thu laithean 'òige [k];
chòmhdaich [l] thu e le nàire. Se-
lah.
46 Cia fhad, a Thighearn, a
dh'fholuicheas tu thu féin gu tur [m]?
a loifgeas, mar theine, do chorruich?
47 Cuimhnich cia gearr m'aimfir:
c'ar fon a chruthaich thu gu dìomh-
ain clann nan daoine uile?
48 Co e an duine a ta beo, agus
nach

a *ardaichidh tu.* b *dìdean.* c *feall adh.* d *ri d' naomhaibh.*
e *Cha dean an nàmhaid fòireigin air.* f *fgriofaidh.* g *a neart, a chumhachd.* h *fruthaibh.* i *dhiùlt thu.* j *ghloine.* k *a òige.*
l *dh'fholuich.* m *an ann gu bràth?*

nach faic am bàs, *no* theaſairgeas 'an-
am féin o làimh na h-uaighe? Se-
lah.
49 C'àit *am bheil* do chaoimhneaſa-
gràidh roimhe ſo, a Thighearn, *a*
mhionnuich thu do Dhaibhidh air
t'fhìrinn.
50 Cuimhnich, a Thighearna, maſ-
ladh do ſheirbhiſeach; gu'n do ghiùl-
ain miſe ann am uchd uile *mhaſladh*
ſluaigh mhòir,
51 Leis an do mhaſlaich do naimhd-
ean, a Thighearna, leis an do mhaſ-
laich iad ceumanna t'Aoin ungta.
52 Beannuichte gu *robh* an Tigh-
earna gu sìorruidh! Amen agus A-
men.

SALM XC.

Urnuigh le Maois, òglach Dé.

A THIGHEARNA, bha thuſa
a'd' ionad-còmhnuidh [a] dhuinn
o linn gu linn.
2 Mun do ghineadh na beannta,
agus mun do dhealbh thu an talamh
agus an cruinne-cé, eadhon o bhith-
bhuantachd gu bith-bhuantachd *is*
tuſa Dia.
3 Tionndaidhidh tu an duine gu
ſgrios; agus their thu, Pillibh, a
chlann nan daoine.
4 Oir *a ta* mìle bliadhna ann ad
ſhealladh-ſa, mar an la'n dé 'nuair
a théid e ſeachad, agus *mar* fhaire
anns an oidhche.
5 Dh'ſhuadaich thu iad, mar le
ſruth; *mar* chodal tha iad: anns a'
mhaduinn *tha iad* mar fheur *a*
dh'fhàſas ſuas [b].
6 Air maduinn thig e fuidh bhlàth,
agus fàſaidh e ſuas; air feaſgar gearr-
ar sìos e, agus ſeargaidh e.
7 Oir tha ſinn air ar caitheadh le
d' fheirg, agus le d' chorruich tha
ſinn air ar claoidh [c].
8 Chuir thu ar n-eucearta a't'
fhianuis, ar *peacanna* dìomhair ann
an ſolus do ghnùiſe.
9 Oir tha ar laithean air teireachd-
uinn [d] ann ad fheirg: chaith ſinn ar
bliadhnacha mar ſgeul a dh'innſ-
eadh.
10 *Tha* laithean ar bliadhnacha
nan tri fichead bliadhna agus a deich;
agus le tuilleadh neirt ma *bhios* ceith-
ir fichead ann, *is* ſaothair agus doil-
gheas an ſpionnadh [e]: oir gearrar as
e gu grad, agus ſiubhlaidh ſinn [f].
11 Cò d'an aithne neart t'fheirge,
agus a réir t'eagail, do chorruich?
12 Teagaiſg dhuinn mar ſo ar
laithean àireamh, chum gu ſocraich
ſinn *ar* cridhe air gliocas.
13 Pill, a Thighearna; cia fhad [g]?
agus gabh aithreachas a thaobh do
ſheirbhiſeach.
14 Sàſuich ſinn gu moch le d' thròc-
air, a chum gu dean ſinn gairdeach-
as agus aoibhneas rè ar laithean uile.
15 Dean aoibhneach ſinn a réir nan
là *air* an do chràidh thu ſinn, nam
bliadhna *anns* am faca ſinn olc.
16 Faicear t'obair le d' ſheirbhiſ-
ich, agus do ghlòir le'n cloinn.
17 Agus biodh maiſe an Tighear-
na ar Dé oirnn; agus daingnich thuſa
obair ar làmh dhuinn [h], ſeadh, daing-
nich obair ar làmh.

SALM XCI.

GABHAIDH eſan a tha na chòmh-
nuidh ann an ionad dìomhair
an Ti a's airde, tàmh fo ſgàile an
Uile-chumhachdaich.
2 Their mi [i] mu thimchioll an
Tighearna, *Is* e mo thearmunn, agus
mo dhaingneach; mo Dhia, anns an
cuir mi mo dhòigh.
3 Gu dearbh ſaoraidh e thu o rib
an eunadair, o'n phlàigh mhilltich.
4 Le 'iteagaibh [j] còmhdaichidh e
thu, agus fuidh a ſgiathaibh bithidh
t'earbſa: *bithidh* 'fhìrinn na ſgéith
agus na targaid dhuit.
5 Cha bhi eagal ort a thaobh an
uamhais anns an oidhche, *no* na
ſaighde *a* ruitheas ſan là,
6 *No* na plàigh *a* ghluaiſeas an
dorchadas, *no* an ſgrios *a* mhilleas mu
mheadhon-la.

7 Tuitidh

a *a'd' thearmunn.* b *a chaochlaidheas.* c *fa amhluadh.* d *air tionndadh, air gabhail ſeach.* e *a' chuid a's fearr, a' chuid a's mò dhiubh.* f *teichidh ſinn romhainn.* g *Pill, a Thighearna, fa dheoidh.* h *oirnn.* i *Their c.* j *a iteich.*

7 Tuitidh mìle rid' thaobh, agus deich mìle air do làimh dheis; ach cha dthig e am fagus duit.

8 A mhàin le d' ſhùilibh ſeallaidh tu, agus chi thu dìol [a] nan aingidh.

9 A chionn gu'n d'rinn thu an Tighearna na thearmunn [b], an Ti a's airde na ionad-còmhnuidh dhuit;

10 Cha'n éirich olc air bith dhuit, agus cha dthig plàigh am fagus do t'fharduich [c]:

11 Oir bheir e àithne d'a ainglibh mu d' thimchioll, chum do ghléidh-eadh ann ad ſhlighibh uile.

12 *Nan* làmhaibh [d] togaidh iad ſuas thu, air eagal gu'm buail thu do chos air cloich.

13 Air an leòmhan [e] agus an nath-air-nimhe ſaltraidh tu; pronnaidh tu fo d' chois an leòmhan òg agus an dràgon.

14 A chionn gu bheil gràdh aige dhomh, ſaoraidh mi e; ardaichidh mi e, a chionn gur aithne dha m'ainm.

15 Gairmidh e orm, agus éiſdidh mi ris; *bithidh* mi maille ris ann an teinn; teaſairgidh mi e, agus bheir mi urram dha.

16 Le fad laithean [f] ſàſaichidh mi e, agus nochdaidh mi dha mo ſhlàinte.

SALM XCII.

Salm *no* laoidh air ſon latha na sàbaid.

IS maith an ni buidheachas a thabh-airt do'n Tighearna, agus cliù a thabhairt do t'ainmſa, O Thi a's airde;

2 Do chaoimhneas-gràidh [g] a chur an céill anns a' mhaduinn, agus t'fhìrinn gach oidhche,

3 Air inneal-ciuil nan deich teud, agus air an t-ſaltair; air a' chlàrſ-aich le fuaim fhonnmhoir aird [h].

4 Oir rinn thu mi aoibhinn, a Thighearna, trìd t'oibre-ſa; ann an gnìomharaibh do làmh ni mi gaird-eachas.

5 Cia mòr do ghnìomhara-ſa, a Thighearna! ro dhomhainn tha do ſmuainte.

6 Cha'n eòl do'n amhlair [i], agus cha tuig an t-amadan ſo.

7 An uair a chinneas na h-aingidh mar fheur, agus a *thig* uile luchd-dheanamh na h-euceirt fo bhlàth, *bithidh* [j] iad air an ſgrios am feaſd.

8 Ach *a ta* thuſa ro-ard gu sìor-ruidh, a Thighearna.

9 Oir feuch, do naimhdean, a Thighearn, oir feuch, do naimhdean, ſgrioſar iad: ſgapar uile luchd-dhean-amh na h-euceirt.

10 Ach mar *adharc* buabhuill [k] ardaichidh tu m'adharc-ſa: ungar mi le h-oladh ùir.

11 Agus amhaircidh mo *ſhùil* air m'eaſcairdibh [l]; mu na droch dhaoin-ibh a dh'éireas ſuas a'm' aghaidh cluinnidh mo chluaſan.

12 Mar chrann-pailme, thig am fìrean fo bhlàth [m]; mar ſheudair air Lebanon, fàſaidh e ſuas.

13 Iadſan a ſhuidhichear ann an tigh an Tighearna, ann an cùirtibh ar Dé-ne thig iad fo bhlàth:

14 Fathaſt nan ſean aois bheir iad a mach toradh; ſultmhor [n] agus ùr [o] bithidh iad.

15 A chum gu nochd iad gu *bheil* an Tighearna, mo charraig, coth-romach, agus nach *'eil* euceart ann.

SALM XCIII.

THA'N Tighearn a' rìoghachadh, tha e air a ſgeadachadh le mòralachd; tha'n Tighearn air a ſgeadachadh le neart, agus chrioſlaich ſe e féin: tha'n ſaoghal mar an ceud-na air a dhaingneachadh, chum nach gluaiſear e.

2 Dhaingnicheadh do righ-chaithir o chian: o ſhìorruidheachd *tha* thuſa.

3 Thog na tuilte ſuas, a Thigh-earna, thog na tuilte ſuas an guth: togaidh na tuilte ſuas an tonna.

4 Os cionn toirme [p] uiſgeacha lìonmhor,

a *duais, tuaraſdal.* b neach a's e *mo thearmunn.* c *do d' phàilliun.* d *Air* an *làmhaibh.* e *ſachal.* Eabh. f *Le ſaoghal fada.* g *do thròcair.* h *Higaion.* Eabh. i *do'n ùmaidh, do'n duine bhrùideil.* j is ann *a chum gu'm bi.* k *aon-adharcaich, ſròin-adharcaich.* l *air* crìoch *m'eaſcairdean.* m *bithidh piſeach air, ſoirbhichidh leis an fìrean.* n *brìoghmhor, sùghmhor.* o *uaine.* p *ghuth.*

lìonmhor, *os cionn* thonn neartmhor
na mara, *is* neartmhor [a] anns na
h-ardaibh [b] an Tighearna.
5 Tha do theiſteis [c] ro-fhìor: do
d' thigh-ſa is iomchuidh naomhachd,
a Thighearna, gu bràth.

SALM XCIV.

ADHE, an dioghaltais[d], a Thigh-
earna Dhé an dioghaltais,
dealraich a mach.
2 Ardaich thu féin, a Bhreitheimh
na talmhainn; ìoc luigheachd [e] do
na h-uaibhrich.
3 Cia fhad a ni na h-aingidh, a
Thighearna, cia fhad a ni na h-ain-
gidh caithreim?
4 *Cia fhad* a bhrùchdas iad briath-
ra, a labhras iad nithe cruaidhe? a
bhios uile luchd-dheanamh an uilc
ri ràiteachas?
5 A bhruthas iad do ſhluagh, a
Thighearn, agus a chlaoidheas iad
t'oighreachd?
6 A mharbhas iad a' bhantrach a-
gus an coigreach, agus a mhortas iad
na dìlleachdain?
7 Agus a their iad, Cha'n fhaic
an Tighearn, agus cha dthoir Dia
Iacoib fa'near *e*.
8 Tuigibh, *ſibhſe* amhlairean [f] am
meaſg an t-ſluaigh; agus amadana,
c'uin a bhios ſibh glic?
9 An ti a ſhuidhich a' chluas, nach
cluinn e? an ti a dhealbh an t-sùl,
nach faic e?
10 An ti a ſmachdaicheas na fin-
eacha [g], nach cronuich e? an ti a
theagaiſgeas eòlas do'n duine, *nach*
'eil eòlas aige?
11 Is fioſrach an Tighearn air
ſmuaintibh dhaoine, gur dìomhanas
iad.
12 *Is* beannuichte an duine a
ſmachdaicheas tuſa, a Thighearn,
agus a theagaiſgeas tu as do lagh:
13 Chum fois a thabhairt da o
laithibh an uilc [h], gus an cladhaich-
ear ſlochd do'n aingidh.
14 Oir cha tilg Dia dheth a ſhluagh,
agus cha tréig e 'oighreachd féin;
15 Ach pillidh breitheanas ri
ceartas, agus leanaidh iadſan uile a
tha ionraic [i] nan cridhe e.
16 Cò dh'éireas leam an aghaidh
luchd-deanamh an uilc? cò ſheaſas
air mo ſhon an aghaidh luchd-dean-
amh na h-aingidheachd?
17 Mur *bìodh* an Tighearna 'gam
chuideachadh, is beag nach robh
m'anam na thàmh gu toſdach [j]?
18 'Nuair a thubhairt mi, Tha
mo chos air ſleamhnachadh uam,
chum do thròcair, a Thighearna, ſuas
mi.
19 Ann an lìonmhoireachd mo
ſmuainte an taobh a ſtigh dhìom,
thug do chomhfhurtachdſa sòlas do
m'anam.
20 Am bi comunn riutſa aig rìgh-
chaithir na h-euceirt, a dhealbhas
aimhleas le reachd?
21 Cruinnichidh iad le chéile an
aghaidh anama an fhìrein, agus dìt-
idh iad fuil neo-chiontach.
22 Ach *is* e'n Tighearna mo
dhaingneach; agus *is* e mo Dhia
carraig mo dhòchais [k].
23 Agus dìolaidh e orra féin an
euceart, agus nan aingidheachd féin
gearraidh e as iad; gearraidh an Tigh-
earn ar Dia as iad.

SALM XCV.

O THIGIBH, feinneamaid do'n
Tighearna; togamaid iolach
do charraig ar ſlàinte.
2 Thigeamaid na fhianuis le
buidheachas, agus le ſalmaibh tog-
amaid ceòl dha gu ſuilbhireach:
3 Oir *is* Dia mòr an Tighearn, a-
gus *is* Righ mòr e os cionn nan uile
dhé.
4 Na làimh-ſan *tha* doimhneachda
na talmhainn; agus *is* leis airde [l]
nam beann.
5 *Is* leis an fhairge, oir is e a rinn
i; agus dhealbh a làmhan an talamh
tioram.
6 O thigibh, ſleuchdamaid, agus
cromamaid

a *mòralach, uambaſach.* b *anns an* ionad *ard.* c *t'fhianuiſean.*
d *d'am buin dioghaltas.* e *luaigheachd, duais.* f *a dhaoine baogh-
alta, brùideil.* g *cinnich.* h *àmhghair.* i *dìreach.* j *ſan
uaigh.* k *mo charraig dhìonaidh.* l *neart.*

cromamaid sìos; tuiteamaid air ar glùinibh am fianuis an Tighearna a rinn ſinn:

7 Oir *is* eſan ar Dia, agus *is* ſinne ſluagh 'ionaltraidh-ſan, agus caoraich a laimhe.

8 An diugh ma dh'éiſdeas ſibh r'a ghuth, na cruaidhichibh bhur cridhe, mar anns a' chonſachadh [a], mar ann an latha a' bhuairidh [b], anns an fhàſach;

9 'Nuair a bhuair bhur n-aithriche mi, a dhearbh iad mi, agus a chunnaic iad m'oibre rè dhà fhichead bliadhna [c].

10 Chuireadh campar orm leis a' ghinealach *ud*, agus thubhairt mi, *Is* ſluagh ſeacharanach nan cridhe iad, agus cha'n aithne dhoibh mo ſhlighean:

11 D'an d'thug mi mo mhionnan a'm' fheirg, nach rachadh iad a ſteach a'm' fhois.

SALM XCVI.

CANAIBH do'n Tighearn laoidh [d] nuadh; canaibh do'n Tighearn, a thìrean uile.

2 Canaibh do'n Tighearna, beannuichibh 'ainm; foillſichibh o là gu là a ſhlàinte.

3 Cuiribh an céill am meaſg nan cinneach a ghlòir, am meaſg gach ſluaigh 'iongantais-ſan.

4 Oir *is* mòr an Tighearn, agus *is* ro-airidh e air cliù: *is* aobhar eagail eſan os cionn nan uile dhé:

5 Oir is ìodhoil [e] uile dhée nan cinneach: ach is e'n Tighearn a rinn na nèamha.

6 *Tha* urram agus mòralachd na fhianuis: neart agus maiſe na ionad naomh.

7 Thugaibh do'n Tighearna, ſibhſe fhineacha nan ſluagh; thugaibh do'n Tighearna glòir [f] agus neart.

8 Thugaibh do'n Tighearn a' ghlòir a's cubhaidh d'a ainm: thugaibh tabhartas leibh, agus thigibh a ſteach d'a chùirtibh.

9 Sleuchdaibh do'n Tighearn ann am maiſe na naomhachd; biodh eagal oirbh na fhianuis, gach uile thìr.

10 Abraibh am meaſg nan cinneach, Tha'n Tighearn a' rìoghachadh: mar an ceudna daingnichear an domhan, chum nach gluaiſear e: bheir e breth air na ſlòigh le ceartas.

11 Biodh na nèamhan aoibhneach, agus deanadh an talamh gairdeachas; beucadh an fhairge, agus a làn.

12 Biodh a' mhachair ait, agus gach ni a *ta* innte: an ſin deanadh uile chranna na coille luathghaire

13 An làthair an Tighearna; oir tha e a' teachd, oir tha e a' teachd a thoirt breth air an talamh: bheir e breth air an t-ſaoghal le ceartas, agus air na ſlòigh le 'fhìrinn.

SALM XCVII.

THA'N Tighearn a' rìoghachadh; biodh aiteas air an talamh: deanadh na h-eileana' lìonmhoir gairdeachas.

2 *Tha* neoil agus dorchadas m'a thimchioll: *is* iad ceartas agus breitheanas àite-còmhnuidh a rìgh-chaithreach.

3 Théid teine roimhe, agus loiſgidh e ſuas a naimhdean air gach taobh [g].

4 Shoillſich a dhealanaich an cruinne-cé; chunnaic, agus chriothnaich an talamh.

5 Leagh na beannta as mar chéir o làthair an Tighearna, o làthair Thighearna na talmhainn uile.

6 Cuiridh na nèamha an céill a cheartas, agus chì gach ſluagh a ghlòir.

7 Bithidh [h] amhluadh orraſan uile a ni ſeirbheis do dhealbhaibh ſnaidhte, a ni uaill a h-ìodholaibh: ſleuchdaibh dha, a dhée uile.

8 Chuala Sion, agus bha aoibhneas oirre, agus rinn nigheana Iudah gairdeachas, air ſon do bhreitheanaſa, a Thighearna.

9 Oir *a ta* thuſa, a Thighearn, ard os cionn na talmhainn uile; tha thu air t'ardachadh gu mòr os cionn nan

a *chomh-ſtri*; *Meribah*. Eabh. b *Maſah*. Eabh. c Faic Eabh. Caib. III. r. 9. d *òran*. e *dealbha faoin*. f *urram*. g *mu'n cuairt*. h *Biodh*.

nan uile dhé.

10 Sibhſe a ghràdhaicheas an Tighearna, fuathaichibh olc: gleidhidh e anama a naomh; a làimh nan aingidh ſaoruidh e iad.

11 Dh'éirich[a] ſolus do'n fhìrean, agus aoibhneas dhoibhſan a tha ionraic nan cridhe.

12 Biodh aoibhneas[b] oirbh, fhìreana, anns an Tighearna; agus thugaibh buidheachas ri cuimhneachadh air a naomhachd.

SALM XCVIII.

Salm.

O SEINNIBH do'n Tighearna laoidh[c] nuadh, oir rinn e nithe iongantach: dh'oibrich a dheas làmh agus a ghairdean naomh ſlàinte dha[d].

2 Thaiſbein an Tighearn a ſhlàinte; an ſealladh nan cinneach dh'fhoillſich e 'fhìreantachd.

3 Chuimhnich e a thròcair agus 'fhìrinn do theaghlach Iſraeil; chunnaic uile chrìocha na talmhainn ſlàinte ar Dé.

4 Togaibh iolach ait do'n Tighearn, a thìrean uile[e]: togaibh bhur guth, deanaibh gairdeachas, agus ſeinnibh cliu.

5 Seinnibh do'n Tighearn le clàrſaich; le clàrſaich agus guth ſailme.

6 Le trompaidibh agus guth na h-adhairce[f], togaibh iolach ait an làthair an Righ Iehobhah.

7 Beucadh an fhairge agus a làn, an ſaoghal agus iadſan a tha nan còmhnuidh ann.

8 Buaileadh na tuiltean am boſa; cuideachd deanadh na beannta luathghaire

9 An làthair an Tighearna; oir tha e a' teachd a thabhairt breth air an talamh: bheir e breth air an t-ſaoghal am fireantachd, agus air na ſlòigh an ceartas.

SALM XCIX.

THA'N Tighearn a' rìoghachadh; criothnuicheadh na ſlòigh: tha e na ſhuidhe eadar cheruban; biodh crith air an talamh.

2 *Tha*'n Tighearna mòr ann an Sion, agus *tha* e ard os cionn gach ſluaigh.

3 Moladh iad t'ainm mòr agus uamhaſach: *is* naomha e.

4 Agus is toigh leis an Righ chumhachdach[g] breitheanas: is tu a ſhocruicheas a' chòir; ni thuſa breitheanas agus ceartas ann an Iacob.

5 Ardaichibh an Tighearn ar Dia, agus ſleuchdaibh aig ſtòl a chos: *is* naomha eſan.

6 *Bha* Maois agus Aaron am meaſg a ſhagart, agus Samuel nam meaſgſan a ghairm air 'ainm: ghairm iadſan air an Tighearn, agus fhreagair eſan iad.

7 Am baideal[h] neoil labhair e riu: ghléidh iad a theiſteis, agus an reachd *a* thug e dhoibh.

8 A Thighearn ar Dia, fhreagair thuſa iad: is tu an Dia a thug maitheanas dhoibh, ge do rinn thu dioghaltas air ſon an gnìomhara[i].

9 Ardaichibh an Tighearn ar Dia, agus ſleuchdaibh aig a ſhliabh naomha: oir *is* naomh an Tighearn ar Dia.

SALM C.

Salm molaidh.

TOGAIBH iolach ait do'n Tighearn, a thìrean uile.

2 Deanaibh ſeirbhis do'n Tighearna le h-aoibhneas, thigibh na fhianuis le luathghaire[j].

3 Biodh fios agaibh gur e'n Tighearn a's Dia ann: *is* e *a* rinn ſinn, agus cha ſinn féin; *is* ſinn a ſhluagh, agus caoraich 'ionaltraidh-ſan.

4 Thigibh a ſteach na gheataibh le buidheachas, na chùirtibh le moladh;

a *Chuireadh, Shiol-chuireadh.* b *aiteas, gairdeachas.* c *òran.* d *thug a dheas-làmh agus a ghairdean naomh buaidh a mach dha.* Faic Iſaiah Caib. LXIII. r. 5. e *uile luchd-àiteachaidh na talmhainn.* f *a' bhuabhuill, na gall-truimp; cornet.* Saſg. g *le neart an Righ.* Eabh. h *ſtac, meall, uaithne.* i *an innleachda.* j *le fonn ait.*

adh; thugaibh buidheachas dha,
beannuichibh 'ainm.

5 Oir *tha'n* Tighearna maith;
mairidh a thròcair gu bràth, agus
'fhìrinn o linn gu linn.

SALM CI.

Salm le Daibhidh.

MU thròcair agus breitheanas
canaidh mi: dhuitse, a Thigh-
earna, seinnidh mi.

2 Iomchairidh mi mi féin gu glic
air slighe ionraic [a]; O c'uin a thig
thu a m' ionnsuidh [b]? gluaisidh mi
ann an ionracas mo chridhe am
meadhon mo thighe.

3 Cha chuir mi ni olc sam bith
fa chomhair mo shùl: is fuathach
leam obair luchd eusaontais; cha
lean i rium.

4 Triallaidh cridhe iargalt [c] uam;
air an daoi [d] cha chuir mi eòlas.

5 An ti gu dìomhair a bheir beum
d'a choimhearsnach, esan gearraidh
mi as; an ti aig am bheil sealladh
ard, agus cridhe uaibhreach, esan
cha'n fhuiling mi.

6 *Bithidh* mo shùilean air firean-
aibh na tìre, chum gu gabh iad
còmhnuidh leam: esan a ghluaiseas
ann an slighe ionraic, ni e seirbhis
dhomh.

7 Cha ghabh fear-deanamh ceilge
còmhnuidh ann am thigh; cha'n fhuir-
ich fear-labhairt bhreug fa chomhair
mo shùl.

8 Gu moch gearraidh mi as uile
dhroch dhaoine na tìre; chum gu
sgath mi as o chathair an Tighearna [e]
uile luchd-deanamh an uilc.

SALM CII.

Urnuigh air son duine thruaigh
'nuair a bhios e air a shàruchadh,
agus a thaomas e a ghearan an
làthair an Tighearn.

A THIGHEARN, éisd ri m'ùr-
nuigh, agus thigeadh mo ghlaodh
a d'ionnsuidh.

2 Na folaich do ghnùis uam ann
an latha mo theinn: aom do chluas
rium san là *air* an gairm mi ort; éisd
rium gu grad.

3 Oir tha mo laithean air teir-
eachdainn mar dheataich, agus tha
mo chnàmhan air an losgadh mar
theinntein [f].

4 Tha mo chridhe air a bhualadh,
agus air seargadh mar fheur; air
chòr as nach cuimhne leam m'aran
itheadh.

5 Le guth m'osnaich, lean mo
chnàmhan ri m'fheoil [g].

6 Tha mi cosmhuil ri pelican an
fhàsaich; tha mi mar chombachaig [h]
nan ionad aonaranach.

7 Tha mi ri faire, agus tha mi
mar eun [i] na aonar air mullach tighe.

8 Air feadh an latha tha mo
naimhde gam' mhasluchadh; agus
iadsan a tha air boile rium, mhionn-
aich iad a'm' aghaidh [j].

9 Oir dh'ith mi luath mar aran,
agus mheasg mi mo dheoch le *m'*
dheuraibh [k],

10 Tràd do chorruich agus t'fheirge;
oir thog thu mi suas, agus leag thu
mi sìos.

11 Tha mo laithean, mar sgàile,
ag aomadh sìos; agus tha mi féin,
mar fheur, air seargadh.

12 Ach mairidh tusa, a Thigh-
earna, gu bràth, agus do chuimhne
o linn gu linn.

13 Eiridh tusa, ni thu tròcair air
Sion; oir tha'n t-àm gu deadh-ghean [l]
a nochdadh dh'i, feadh, an t-àm
suidhichte air teachd.

14 Oir tha do sheirbhisich a' gabh-
ail tlachd na clachaibh, agus tha
deadh rùn aca d'a luaithre.

15 Mar sin bithidh eagal air na
cinnich roimh ainm an Tighearna,
agus air uile righribh na talmhainn
roimh a [m] ghlòir.

16 An uair a thogas an Tighearna
suas Sion, chithear e na ghlòir.

17 Bheir e 'n aire do ùrnuigh naa
dìobarach [n] agus cha dean e tàir air
an athchuinge.

18 Scrìobhar

a *fhoirse, iomlain.* b *'nuair a thig thu am' ionnsuidh.* c *reasg-ach, ana-mèineach.* d *an droch dhuine.* e *o mhòr-bhaile an Tigh-earna.* f *theallach.* g *ri m' chraicionn.* h *chaillich-oidhche.* i *ghealbhonn.* j *orm.* k *le gul.* l *gràs, truacantas.* m *do.* n *nan daoine bochd, lom.*

18 Scriobhar ſo do'n àl ri teachd;
agus molaidh an ſluagh a ghinear [a]
an Tighearna.

19 Oir dh'amhairc e nuas o airde
a naomhachd [b] féin; o na nèamh-
aibh ſheall an Tighearn air an ta-
lamh.

20 A chluinntinn oſnaich a phrioſ-
unaich [c], chum fuaſgladh orra-ſan a
dh'òrduicheadh chum bàis [d];

21 Chum ainm an Tighearna
chur an céill ann an Sion, agus a chliu
ann an Ieruſalem;

22 An uair a chruinnichear na
ſlòigh le chéile, agus na rìoghachda,
gu ſeirbhis a dheanamh do'n Tigh-
earna.

23 Chlaoidh e anns an t-ſlighe mo
neart; ghiorraich e mo laithean.

24 Thubhairt mi, Mo Dhia, na
tabhair air falbh mi ann am meadhon
mo laithean: *tha* do bhliadhnan-ſa
air feadh nan uile linn.

25 O chian [e] leag thu bunaite na
talmhainn; agus *is* iad na nèamha
obair do làmha.

26 Theid as doibhſan [f], ach mair-
idh tuſa: faſaidh iadſan uile ſean mar
eudach; mar thruſgan caochlaidh tu
iad, agus bithidh iad air an caoch-
ladh [g].

27 Ach *is* tuſa an Ti ceudna, a-
gus cha chrìochnuichear do bhliadhn-
an.

28 Mairidh clann do ſheirbhiſeach,
agus daingnichear an ſliochd a'd'
fhianuis.

S A L M CIII.

Salm le Daibhidh.

BEANNUICH an Tighearn, O
m'anam; agus *moladh* gach ni
a ta'n taobh a ſtigh dhìom, 'ainm
naomha-ſan.

2 Beannuich an Tighearn, O m'an-
am; agus na di-chuimhnich a thiodh-
lacan uile.

3 'Se mhaitheas dhuit do pheac-
anna gu léir, a ſhlànuicheas t'euſ-
laintean [h] uile;

4 A ſhaoras do bheatha o ſgrios [i],
a chrùnas tu le caoimhneas-gràidh
agus caomh thròcairibh.

5 A ſhàſuicheas do bheul le nith-
ibh maithe, air chor as gun ath-
nuadhaichear t'òige, mar *òige* na
h-iolaire.

6 Ni an Tighearna ceartas agus
breitheanas dhoibhſan uile a tha air
an sàruchadh [j].

7 Dh'fhoillſich e a ſhlighean do
Mhaois, a ghniomhara do chloinn
Iſraeil.

8 *Is* tròcaireach agus *is* gràſmhor
an Tighearn, mall chum feirge, a-
gus pailt ann an caoimhneas-gràidh [k].

9 Cha chronuich e gu ſiorruidh,
agus cha ghléidh e *'fhearg* gu bràth.

10 A réir ar peacanna cha d'rinn
e oirnn, agus a réir ar n-euceart
cha d'thug e luigheachd dhuinn.

11 Oir mar a ta na nèamhan ard [l]
os cionn na talmhainn, *mar ſin* a ta
a thròcair [m] mòr d'an taobh-ſan d'an
eagal e.

12 Co fhad as a ta 'n aird an ear
o'n aird an iar, co fhad as ſin chuir
e uainn ar n-euſaontais.

13 Mar a ghabhas athair truas d'a
chloinn, gabhaidh an Tighearna truas
dhiubhſan d'an eagal e.

14 Oir is aithne dha ar dealbh;
is cuimhne leis gur duſlach ſinn.

15 An duine, mar fheur *tha* a
laithean; mar bhlàth na macharach,
mar ſin faſaidh e ſo bhlàth.

16 Oir gabhaidh a' ghaoth thairis,
agus cha *bhi* e ann; agus cha'n aith-
nich 'ionad féin e ni's mò.

17 Ach *a ta* tròcair an Tighearna
o ſhiorruidheachd orraſan d'an eagal
e, agus 'fhìreantachd do chloinn *an*
cloinne;

18 Dhoibhſan a chumas a choimh-
cheangal, agus a chuimhnicheas
'àitheanta, chum an deanamh.

19 Shocruich an Tighearn a righ-
chaithir anns na neamhaibh; agus
tha a rìoghachd a' riaghladh os cionn
nan uile.

20 Beannuichibh

a *a chruthaichear.* b *'ionàid naomha.* c *oſnaidh a chimich.*
d *air clann a' bhàis.* e *An toiſeach, air tùs.* f *Teirgidh iadſan.*
g *air am mùthadh, air an atharrachadh.* h *eucailean.* i *o'n t-ſlochd.*
Eabh. j *fo fhoirneart.* k *tròcair.* l *a réir airde nan nèamh.*
m *a ghràs, a chaoimhneas gràdhach.*

20 Beannuichibh an Tighearna, ſibhſe 'aingle, treun an neart, a' deanamh 'iarrtuis, ag éiſdeachd ri fuaim 'fhocail [a].

21 Beannuichibh an Tighearn, a fhlòigh uile, ſibhſe a luchd-fritheal-aidh a ni a thoil.

22 Beannuichibh an Tighearn, 'oibre uile, anns gach àit d'a thigh-earnas: beannuich an Tighearn, O m'anam!

SALM CIV.

BEANNUICH an Tighearn, O m'anam! A Thighearna mo Dhia, tha thuſa ro-mhòr; le h-urram agus mòralachd [b] tha thu air do ſgead-achadh.

2 *Tha* thu a' cur ſoluis umad mar thruſgan, a' ſìneadh a mach nan nèamh mar chùirtein.

3 Tha e a' leagadh ſailthean a fheòmar anns na h-uiſgibh, a' dean-amh nan neul nan carbad dha féin, a' ſiubhal air ſgiathaibh gaoithe;

4 A' deanamh 'aingle nan ſpiorad-aibh, a luchd-frithealaidh nan teine laſrach [c].

5 Shuidhich e an talamh air a bhunaitibh, chum nach gluaiſteadh e gu bràth.

6 Leis an doimhneachd, mar le truſgan, chòmhdaich [d] thu e: ſheas na h-uiſgeacha os cionn nam beann.

7 O t'achmhaſan-ſa theich iad, o ghuth do thairneanaich ghreas iad rompa.

8 Chaidh iad ſuas ri taobh nam beann; chaidh iad ſìos air feadh nan gleann do'n àit a dh'orduich thuſa dhoibh.

9 Shuidhich thu crìoch air nach dthéid iad thairis; chum nach pill iad a rìs a chòmhdachadh [e] na tal-mhainn.

10 *Tha* e a' cur thobar anns na gleanntaibh, *a* tha a' ruith air feadh nam beann.

11 Bheir iad deoch do uile bheath-aichibh na machrach: coiſgidh na h-aſail fhiadhaich an ìotadh [f].

12 Am fagus doibh còmhnuichidh eunlaith nan ſpeur, *a* bhios a' ſeinn am meaſg nan geug.

13 Uiſgichidh e na beannta o 'fheòmraibh: le toradh a [g] ghnìomh sàſuichear an talamh.

14 Bheir e air feur fàs do'n ſpréidh, agus air luibh chum ſeirbhis [h] an duine, chum aran a thabhairt as an talamh,

15 Agus fìon *a* ni cridhe an duine ſubhach, oladh a ni *a* ghnùis dealrach, agus aran *a* neartaicheas cridhe an duine.

16 Tha craobhan an Tighearna làn brìghe, ſeudair Lebanoin a ſhuidh-ich e:

17 Far an dean na h-eoin an nid; aig an ſtorc [i] *tha* na craobhan giuth-ais [j] mar ionad-tàimh.

18 *Tha* na beanntan ard nan tearmunn do na gabhair fhiadhaich; na creagan do na coineanaibh [k].

19 Rinn e a' ghealach air ſon aim-ſirean; is aithne do'n ghréin mar a luidheas i.

20 Ni thu dorchadas, agus tha'n oidhche ann: an ſin ſnàigidh uile bheathaiche na coille *mach*.

21 Beucaidh na leòmhain òg air ſon cobhartaich, agus ag iarraidh am bìdh air Dia.

22 Eiridh a'ghrian, cruinnichidh iad le chéile, agus nan àitibh-tàimh luidhidh iad.

23 Théid an duine mach gu 'ob-air, agus gu 'ſhaothair gu feaſgar.

24 Cia lìonmhor t'oibre, a Thigh-earn! ann an gliocas rinn thu iad gu léir: tha'n talamh làn le d' ſhaibhreas;

25 *Mar an ceudna* an cuan ſo a ta mòr agus farſaing, anns *am bheil creutairean* ſnàigeach [l] gun àir-eamh, araon beathaichean beag agus mòr.

26 An ſin ſiubhlaidh na longa; a-gus an Lebhiatan ſin, *a* dhealbh thu gu sùgradh ann.

27 Feithidh

a *guth 'fhocail.* b *glòir.* c *A' deanamh a theachdairean do na gaothaibh, a luchd-frithealaidh do'n teine laſrach.* d *dh'fholuich.* e *a dh'fholach.* f *an tart, am pathadh.* g *do.* h *feuma.* i *a' chorra-bhàin.* j *giumhais.* k *ſapan.* Eabh. l *ſnàigheach, gluaſadach.*

27 Feithidh iad ſin uile ortſa,
chum gu'n tabhair thu dhoibh am
biadh na thràth.
28 Bheir thuſa dhoibh, cruinnich-
idh iadſan; foſgailidh tu do làmh,
sàſuichear iad le maith.
29 Foluichidh tu do ghnùis, bith-
idh iad fa amhluadh; bheir thu
uatha an deò, eugaidh iad, agus pill-
idh iad ri'n ùir [a].
30 Cuiridh tu mach do ſpiorad,
cruthaichear iad; agus ath-nuadh-
aichidh tu aghaidh na talmhainn.
31 Mairidh glòir an Tighearna
gu bràth; ni an Tighearna gair-
deachas na oibribh.
32 Seallaidh e air an talamh, a-
gus criothnuichidh e; beanaidh e ris
na beanntaibh, agus bithidh deatach
dhiubh.
33 Seinnidh miſe do'n Tighearn
an cian is beo mi; canaidh mi mol-
adh do m' Dhia fhad's a bhios bith
agam.
34 Bithidh mo ſmuaintean air
milis [b]; ni mi gairdeachas anns an
Tighearna.
35 Sgrioſar peacaich a mach as an
talamh, agus cha *bhi* [c] na h-aingidh
ann ni's mò. Beannuich an Tigh-
earn, O m'anam. Molaibhſe an
Tighearna.

SALM CV.

THUGAIBH buidheachas [d] do'n
Tighearna; gairmibh air 'ainm;
foillſichibh [e] am meaſg nan ſluagh a
ghnìomhara,
2 Seinnibh dha; ſeinnibh ſailm
dha; labhraibh air 'oibribh iongant-
ach-ſan gu léir.
3 Deanaibh uaill as 'ainm naomha-
ſan: biodh gairdeachas air cridhe na
droinge a dh'iarras an Tighearn.
4 Iarraibh an Tighearn agus a
neart; iarraibh a ghnùis a ghnàth.
5 Cuimhnichibh 'oibrean iongant-
ach a rinn e, a chomharan [f] agus
breitheanais a bhéil,
6 O ſibhſe a ſhliochd Abrahaim
'òglaich-ſan, ſibhſe a chlann Iacoib
a dhaoine taghta-ſan.
7 *Is* eſan an Tighearn ar Dia-ne;
air feadh na talmhainn uile *tha* a
bhreitheanais.
8 Chuimhnich e gu sìorruidh a
choimhcheangal, am focal *a* dh'or-
duich e do mhìle ginealach;
9 A rinn e ri h-Abraham, agus a
mhionnan do Iſaac:
10 Agus dhaingnich e ſin do Ia-
cob mar reachd [g], do Iſrael mar
choimhcheangal bith-bhuan,
11 Ag ràdh, Dhuitſe bheir mi
fearann Chanaain, crannchur bhur
n-oighreachd.
12 An uair nach robh iad ach ro-
thearc an àireamh, agus nan coigrich
ann,
13 Agus a chaidh iad o chinneach
gu cinneach, o rìoghachd gu ſluagh
eile;
14 Cha do leig e le duine ſam bith
eucoir a dheanamh orra, agus ſmachd-
aich e righrean air an ſon:
15 *Ag ràdh*, Na beanaibh ri m'
dhaoinibh ungta, agus air m'fhàidh-
ibh na deanaibh cron.
16 Agus ghairm e gorta air an
tìr; bhris e uile lorg an arain.
17 Chuir e duine rompa, Ioſeph,
a reiceadh mar thràill.
18 Le geimhlibh dhochainn iad a
choſan; chuireadh an iarrunn e gu
teann;
19 Gu ruig an t-àm anns an
d'thàinig a bhriathar: dhearbh focal
an Tighearna e.
20 Chuir an righ *teachdaire* uaith,
agus dh'fhuaſgail e air; uachdaran
an t-ſluaigh, agus leig e ſaor as e.
21 Rinn ſe e na thighearn air a
thigh, agus na uachdaran os cionn a
mhaoin uile:
22 Chum gu'n ceangladh e 'ard-
cheannardan a réir a thoile, agus
gu'n deanadh e a ſheanairean glic.
23 Agus thàinig Iſrael do'n Eiphit,
agus bha Iacob air chuairt ann an
tìr Cham [h].
24 Agus thug e air a ſhluagh fàs
ro-lìonmhor, agus rinn e ni bu treiſe
iad na'n naimhdean.
25 Dh'iompoich e an cridhe gu
fuath

a *duſlach, luaithre.* b *mo ſmuainte taitneach dha.* c *na biodh.*
d *moladh, cliu.* e *deanaibh aithnichte.* f *'iongantaſan.* g *lagh.*
h *Ham.*

ſuath a thoirt d'a ſhluagh, agus gu buntainn gu cealgach r'a ſheirbhiſich.

26 Chuir e *d'an ionnſuidh* Maois 'òglach féin, Aaron a thagh e.

27 Nochd iad a chomharan nam meaſg, agus a bheartan iongantach ann an tìr Cham.

28 Chuir e mach dorchadas, agus bha dorchadas ann [a]: agus cha d'rinn iad ceannairc an aghaidh 'fhocail.

29 Thionndaidh e an uiſgeacha gu fuil, agus mharbh e an iaſg.

30 Thug an tìr a mach loſgainn [b] gu pailt, ann an ſeòmraichibh an righre.

31 Labhair e [c], agus thàinig iomadh gnè chuileag [d], agus mialan nan crìochaibh uile.

32 Air ſon an uiſge thug e dhoibh clach-mheallain [e], agus teine laſrach [f] nan tìr.

33 Agus bhuail e an croinn-fhìona agus an croinn-fhìge; agus bhris e craobhan an crìoch.

34 Labhair e, agus thàinig locuiſt, agus burruis, agus ſin gun àireamh;

35 Agus dh'ith iad gach luibh nan tìr; agus dh'ith iad meas [g] am fearainn.

36 Agus bhuail e gach ceud-ghin nan tìr, toiſeach an neirt uile.

37 Agus thug e mach iad le h-airgiod agus le h-òr: agus nan treubhaibh uile cha *robh* aon neach lag.

38 Bha aoibhneas air an Eiphit an uair a chaidh iad a mach; oir thuit an eagal-ſan orra.

39 Sgaoil e neul mar chòmhdach [h], agus teine gu ſolus a thoirt ſan oidhche.

40 Dh'iarr iad, agus thug e *dhoibh* gearra-goirt; agus le h-aran nèimhe ſhàſuich e iad.

41 Dh'fhoſgail e a' chreag, agus bhrùchd uiſgeacha mach; ruith iad air na h-ionadaibh tiorma mar abhuinn.

42 Oir chuimhnich e a ghealladh naomha do Abraham a ſheirbhiſeach.

43 Agus thug e mach a ſhluagh le h-aoibhneas, a dhaoine taghta le gairdeachas.

44 Agus thug e dhoibh fearann nan cinneach; agus ſhealbhaich iad ſaothair nan ſluagh.

45 Chum gu dthugadh iad fa'near a reachdan, agus gu gleidheadh iad a laghanna. Molaibh an Tighearna.

SALM CVI.

MOLAIBH an Tighearn. O thugaibh buidheachas do'n Tighearn, oir *tha* e maith, oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

2 Cò is urrainn gnìomhara treun an Tighearna a chur an céill? *cò* is urrainn a chliu uile fhoillſeachadh?

3 *Is* beannuichte iadſan a choimhideas [i] breitheanas, a ni ceartas anns gach àm.

4 Cuimhnich oirnn [j], a Thighearna, leis an deadh-ghean *a nochdas tu* do d' ſhluagh féin: O fioſraich ſinn [k] le d' ſhlainte:

5 Chum gu faic ſinn [l] maith do dhaoine taghta, chum gu dean ſinn aoibhneas ann an aoibhneas do chinnich; chum gu dean ſinn uaill le t'oighreachd-ſa.

6 Pheacaich ſinne le'r n-aithrichibh; rinn ſinn gu h-olc, rinn ſinn gu h-aingidh.

7 Cha do thuig ar n-aithriche [m] t'iongantais anns an Eiphit, cha do thuig iad lìonmhoireachd do thròcairean, ach bhroſnuich iad *thu* [n] làimh ris a' mhuir, aig a' mhuir ruaidh.

8 Gidheadh theaſairg e iad air ſgàth 'ainme féin; chum gu nochdadh e a chumhachd.

9 Agus ſmachdaich e a' mhuir ruadh, agus thiormaicheadh i; agus threòraich e iad [o] trìd nan doimhneachd, mar trìd fàſaich.

10 Agus

a *dhorchaich e.* b *bhrùchd an talamh a mach loſgainn.* c *Dh'àithn e.* d *ſgaoth chuileag.* e *clach-ſhneachd* f *teine dealanaich.* g *toradh.* h *bhrat.* i *ghleidheas.* j *orm.* k *mi.* l *mi.* m *Cha d'thug ar ſinnſeara fa'near.* n *bha iad ceannairceach.* o *thug e orra imeachd.*

10 Agus theasairg e iad o làimh
an ti a thug fuath *dhoibh*, agus shaor
e iad o làimh an nàmhaid.

11 Agus dh'fholuich na h-uisg-
eacha an easċairde: cha d'fhàgadh
aon diubh.

12 An sin chreid iad a bhriath-
ran [a], agus sheinn iad a chliu.

13 Gu luath dhi-chuimhnich iad
a ghnìomhara; cha d'fheith iad r'a
chomhairle.

14 Ach ghlac anamhiann iad [b]
san fhàsach, agus bhuair [c] iad Dia
anns an ionad uaigneach.

15 Agus thug e dhoibh an iarr-
tus, ach chuir e caoile [d] air an an-
am.

16 Agus ghabh iad farmad ri
Maois anns a' champ, agus ri
h-Aaron *sagart* naomh an Tighear-
na.

17 Dh'fhosgail an talamh, agus
shluig e sìos Datan, agus dh'fholuich-
eadh cuideachd Abiraim.

18 Agus las teine nan cuideachd;
loisg an lasair suas na droch dhaoine.

19 Rinn iad laogh ann an Horeb,
agus shleuchd iad [e] do'n dealbh
leaghta.

20 Agus chaochail iad an glòir
gu cosamhlachd daimh a dh'itheas
feur.

21 Dhi-chuimhnich iad Dia am
Fear-saoraidh, a rinn nithe mòra anns
an Eiphit,

22 Nithe iongantach ann an tìr
Cham, nithe uamhasach aig a'mhuir
ruaidh:

23 Uime sin thubhairt e gu'm mill-
eadh [f] e iad, mur bhitheadh gu'n
do sheas '*òglach* taghta Maois sa
chomhair anns a' bheirn [g], gus a
chorruich a thionndadh uatha, chum
nach sgriosadh e iad.

24 Agus rinn iad tarcuis air an
tìr thaitnich: cha do chreid iad 'fhoc-
al.

25 Agus rinn iad gearan nam
bùthaibh [h]; agus cha d'éisd iad ri
guth an Tighearna.

26 An sin thog e a làmh [i] nan
aghaidh, a thoirt orra tuiteam anns
an fhàsach,

27 Agus a thilgeadh sìos an sliochd
am measg nan cinneach, agus gu'n
sgaoileadh air feadh nan tìr.

28 Mar an ceudna naisg iad iad
féin ri Baal-peor, agus dh'ith iad
ìobairte nam marbh.

29 Agus bhrosnuich iad *e* le'n
gnìomharaibh [j]; agus bhris a' phlàigh
a steach orra.

30 An sin sheas Phinehas, agus
chuir e breitheanas an gnìomh; agus
choisgeadh a' phlàigh.

31 Agus mheasadh sin dha mar
fhìreantachd, o linn gu linn gu
bràth.

32 Chuir iad fearg air mar an
ceudna aig uisgibh Mheribah [k]; a-
gus dh'éirich olc do Mhaois air an
son.

33 Oir bhrosnuich iad a spiorad,
air chor as gu'n do labhair e gu
h-aithghearr le 'bhilibh.

34 Cha do sgrios iad na slòigh,
mu'n d'thug an Tighearn àithne
dhoibh;

35 Ach choimh-mheasg iad iad
féin am measg nan cinneach, agus
dh'fhòghluim iad an oibre.

36 Agus rinn iad seirbhis d'an
ìodholaibh [l], a bha mar ribe dhoibh.

37 Agus dh'ìobair iad am mic
agus an nigheana do dheamhnaibh,

38 Agus dhòirt iad fuil neo-
chiontach, fuil am mac [m] agus an
nighean, a dh'ìobair iad do ìodhol-
aibh Chanaain: agus thruailleadh an
tìr le fuil.

39 Agus rinneadh neo-ghlan iad
le'n oibribh, agus chaidh iad air strìop-
achas le'n gnìomharaibh [n].

40 Agus las fearg an Tighearna
an aghaidh a shluaigh, agus ghabh e
gràin d'a oighreachd.

41 Agus thug e suas iad do làimh
nan cinneach; agus bha iadsan a
dh'fhuathaich iad, nan uachdarain
os an cionn.

a '*fhocal.* b *loisg iad le h-anamhiann.* c *dhearbh.* d *claoidh, sgrios.* e *rinn iad aoradh.* f *sgriosadh.* g *bheum, bhriseadh.* h *pàilliunaibh, pubullaibh.* i *mhionnaich e.* j *innleachdaibh.* k *uisgibh na comh-stri.* l *diathaibh-bréige.* m *clann mhac.* n *inn-leachdaibh.*

42 Agus ſhàruich an naimhdean iad; agus leagadh gu h-ìoſal iad ſo'n làimh.

43 Iomadh uair ſhaor e iad; ach bhroſnuich iad *e* le'n comhairlibh, agus thugadh sìos iad air ſon an cionta.

44 Gidheadh thug e an àmhghar fa'near [a], an uair a chual e an glaodh.

45 Agus chuimhnich e dhoibh a choimhcheangal, agus ghabh e aithreachas a réir lìonmhoireachd a thròcaire [b].

46 Agus fhuair e truas [c] dhoibh an ſealladh na muinntir ſin a thug leo nam braighdibh iad.

47 Saor ſinn, a Thighearn ar Dia, agus tionail ſinn o mheaſg nan cinneach, chum buidheachas [d] a thabhairt do t'ainm naomha-ſa, chum caithream [e] a dheanamh ann ad chliu.

48 Gu ma beannuichte an Tighearna Dia Iſraeil o ſhìorruidheachd gu sìorruidheachd! agus abradh an ſluagh uile, Amen. Molaibhſe an Tighearn.

SALM CVII.

O THUGAIBH buidheachas [f] do'n Tighearn, oir *tha e* maith, oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

2 *Mar ſo* abradh iadſan a ſhaoradh leis an Tighearn, a ſhaor e o làimh an nàmhaid.

3 Agus a chruinnich e as na tìribh, o'n aird an ear agus o'n aird an iar, o'n airde tuath agus o'n airde deas [g].

4 Chaidh iad air ſeacharan anns an fhàſach, ann an ionad uaigneach; ſlighe [h] gu baile tàimh [i] cha d'fhuair iad.

5 Ocrach agus tartmhor, dh'fhàilnich an anam annta.

6 An ſin ghlaodh iad ris an Tighearna nan airc, agus as an teanntachdaibh [j] ſhaor e iad.

7 Agus threòraich e iad air ſlighe cheirt, chum gu rachadh iad gu baile tàimh.

8 O gu moladh *daoine* Dia air ſon a mhaitheis [k], agus air ſon a bhearta iongantach do chloinn nan daoine!

9 Oir ſhàſuich e an t-anam ciocrach [l], agus lìon e an t-anam ocrach le maith.

10 Iadſan a ſhuidh ann an dorchadas agus ann an ſgàile a' bhàis, ceangailte ann an truaighe agus an iarrunn,

11 A chionn gu'n d'rinn iad ceannairc an aghaidh bhriathar Dhé, agus gu'n d'rinn iad tàir air comhairle an Tí a's airde;

12 Aig an do leagadh [m] sìos an cridhe le docair [n]: thuit iad, agus cha *robh* fear-cuideachaidh ann:

13 An ſin ghlaodh iad ris an Tighearna nan airc, agus as an teanntachdaibh ſhaor e iad.

14 Thug e iad a dorchadas agus a ſgàile a' bhàis, agus bhris e o chéile an cuibhreach.

15 O gu moladh *daoine* an Tighearn air ſon a mhaitheis, agus air ſon a bhearta iongantach do chloinn nan daoine!

16 Oir bhris [o] e na geatan umha [p], agus ghearr e sìos na croinn iarruinn.

17 Bha amadain, air ſon an euſaontais [q] agus air ſon an eucearta, fo àmhghar [r].

18 Do gach biadh ghabh an anam gràin, agus thàinig iad dlùth do gheataibh bàis.

19 An ſin ghlaodh iad ris an Tighearna nan airc, agus as an teanntachdaibh ſhaor e iad.

20 Chuir e 'fhocal uaith, agus ſhlànuich e iad; agus ſhaor e iad o ſgrios [ſ].

21 O gu moladh *daoine* an Tighearn air ſon a mhaitheis, agus air ſon a bhearta iongantach do chloinn nan daoine!

22 Agus

a *dh'amhairc e orra nan teinn.* b *a réir ſaibhreis a ghràis.* c *bàigh, iochd.* d *moladh.* e *uaill.* f *moladh.* g *o'n mhuir* ruaidh. Eabh. h *air ſlighe uaignich.* i *baile còmhnuidh.* j *àmhgharaibh.* k *a thròcaire.* l *miannach.* m *leag e.* n *ſaothair.* o *bhriſt.* p *praiſe.* q *le ſlighe an euſaontais.* Eabh. r *air an cràdh.* ſ *o ſhlochdaibh truaillidheachd.*

22 Agus gu'n ìobradh iad ìobairte buidheachais, agus gu'n cuireadh iad an céill a ghnìomhara le luath-ghaire!

23 Iadſan a théid sìos do'n fhairge air longaibh, a ni obair air uiſgibh mòra,

24 Chi iadſan gnìomhara an Tighearna, agus a bhearta iongantach [a] ſan doimhne.

25 Oir labhraidh e, agus dùiſgidh e a' ghaoth dhoinionnach, agus togaidh i a tonna [b].

26 Théid iad ſuas do na nèamhaibh, theid iad sìos do na doimhneachdaibh; le h-àmhghar leaghaidh an anam.

27 Théid iad thuige [c] agus uaith, agus tuiſlichidh iad mar dhuine air mhiſg; agus théid as d'an céill uile [d].

28 An ſin glaodhaidh iad ris an Tighearna nan airc, agus as an teanntachdaibh bheir e iad.

29 Cuiridh e an doinionn gu fèith; agus bithidh a tonna nan tàmh.

30 An ſin bithidh iad ait a chionn gu'm bi iad sàmhach; agus bheir e iad do'n chaladh a's miannach leo.

31 O gu moladh *daoine* an Tighearn air ſon a mhaitheis, agus air ſon a bhearta iongantach do chloinn nan daoine!

32 Agus gu'n ardaicheadh iad e ann an coimhthional an t-ſluaigh, agus ann an àite-ſuidhe [e] nan ſeanair gu moladh iad e!

33 Ni e aibhniche nam fàſach, agus tobair uiſge nan talamh tartmhor [f].

34 Fearann beartach *ni e* fàs [g], air ſon aingidheachd a luchd-àiteachaidh.

35 Ni e fàſach na linne uiſge, agus fearann tioram na thobraichibh uiſge.

36 Agus an ſin bheir e air na h-ocraich còmhnuidh a ghabhail; agus deaſaichidh iad baile tàimh [h].

37 Agus sìol-chuiridh iad achanna, agus ſuidhichidh iad fion-lioſan; agus bheir iad toradh pailt [i] uatha.

38 Agus beannuichidh ſe iad, agus fàſaidh iad ro-lìonmhor; agus cha lughdaich e an ſpréidh.

39 Ach *ma pheacaicheas iad*, lughdaichear agus leigear sìos iad le foirneart, olc [j], agus doilgheas.

40 Dòirtidh e tarcuis air arduaiſlibh [k], agus cuiridh e air ſeacharan iad ann am fàſach as eugmhais ſlighe.

41 Agus togaidh e ſuas am bochd o thruaighe [l], agus ni e teaghlaichean *dha* mar threud.

42 Chi na fireana ſo, agus bithidh iad ait; agus druididh gach euceart a beul.

43 Cò *a ta* glic, agus *a* bheir fa'near na nithe ſin? tuigidh eſan caoimhneas gràdhach [m] an Tighearna.

SALM CVIII.

Laoidh *no* Salm le Daibhidh.

THA mo chridhe deas, a Dhe, ſeinnidh mi agus molaidh mi, eadhon le m' ghlòir [n].

2 Moſgail, a ſhaltair agus a chlàrſach: moſglaidh mi féin moch air mhaduinn.

3 Molaidh mi thu am meaſg nan ſluagh, a Thighearn, agus ſeinnidh mi dhuit am meaſg nan cinneach.

4 Oir is mòr do thròcair os cionn nan nèamh; agus *tha* t'fhìrinn gu ruig na neula.

5 Bi air t'ardachadh os cionn nan nèamh, a Dhé; agus os cionn na talmhainn uile *biodh* do ghlòir.

6 Chum gu teaſairgear iadſan a's ionmhuinn leat, ſaor thuſa le d' dheas làimh, agus éiſd rium [o].

7 Labhair Dia na naomhachd: ni mi aoibhneas, roinnidh mi Sechem, agus tomhaiſidh mi gleann Shucoit.

8 *Is*

a *'iongantais-ſan.* b *tonna na fairge.* c *chuige.* d *ſluigear ſuas an ciall uile, teirgidh an ſeòltachd uile.* e *crumhneachaidh.* f *tioram, cruaidh.* g *goirt, bochd, gun toradh.* h *chum còmhnuidh ann.* i *toradh an cinneis.* j *le foirneart an uilc.* k *uachdaranaibh, prionnſaibh.* l *àmhghar.* m *caomh thròcairean.* n Faic Salm LVII. r. 7, &c. o Faic Salm LX. r. 6, &c.

8 *Is* leamſa Gilead, *is* leam Manaſeh; agus *is* e Ephraim neart mo chinn, Iudah fear-tabhairt mo lagha.

9 *Is* e Moab mo ſhoitheach-ionnlaid; os cionn Edoim tilgidh mi mo bhròg: thar Paleſtin ni mi caithreim.

10 Cò bheir mi do'n bhaile dhaingnichte? cò threòraicheas mi gu h-Edom?

11 Nach tuſa, a Dhé? *thuſa a* thilg uait ſinn, agus nach deachaidh a mach [a], a Dhé, le ar n-armailtibh?

12 Thoir còmhnadh dhuinn ann an airc; oir *is* dìomhain furtachd duine.

13 Trìd Dhé [b] ni ſinn treubhantas; oir ſaltraidh eſan sìos ar naimhdean.

SALM CIX.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm le Daibhidh.

A DHE mo chliu, na bi a'd' thoſd.

2 Oir tha beul an aingidh, agus beul na céilge foſgailte a'm' aghaidh; labhair iad a'm' aghaidh le teangaidh nam breug.

3 Agus le briathraibh fuatha chuairtich iad mi; agus chog iad a'm' aghaidh gun aobhar.

4 An éiric mo ghràidh tha iad naimhdeil dhomh, agus mi *ri* h-ùrnuigh.

5 Agus dhìol iad dhomh olc an éiric maith, agus fuath an éiric mo ghràidh.

6 Cuir an t-aingidh os a chionn [c], agus ſeaſadh Satan aig a dheas làimh.

7 'Nuair a bheirear breth air, faighear ciontach e [d], agus biodh 'ùrnuigh dha na peacadh.

8 Biodh a laithean tearc, agus glacadh neach eile a dhreuchd [e].

9 Biodh a chlann nan dìlleachdain [f], agus a bhean na bantraich.

10 A ghnàth air ſeacharan biodh a chlann, agus iarradh iad déirc; agus ſireadh [g] iad as an àitibh fàs.

11 Glacadh fear nam ſiach gach ni a *ta* aige, agus creachadh coigrich a ſhaothair.

12 Na biodh neach ann a nì tròcair air [h], agus na biodh aon ann a ghabhas truas d'a chloinn gun athair.

13 Sgrios gu robh air a ſhliochd: ſan àl a thig na dhéigh, gu cuirear as d'a ainm [i].

14 Air chuimhne biodh aingidheachd 'aithriche aig an Tighearn, agus na cuirear as [j] peacadh a mhàthar.

15 Biodh iad am fianuis an Tighearna a ghnàth; agus gearradh e as an cuimhne o'n talamh.

16 A chionn nach do chuimhnich e tròcair a nochdadh, ach gu'n do gheur-lean e an duine bochd agus uireaſbhuidheach, agus aig an robh cridhe goirt, chum a mharbhadh.

17 Mar a ghràdhaich e mallachadh, thigeadh e air: mar nach robh tlachd aige ann am beannachadh, biodh e fad uaith.

18 Mar a chuir e mallachadh uime mar 'eudach [k], thigeadh e ſteach mar uiſge na chom, agus mar oladh na chnàmhaibh.

19 Biodh e dha mar an truſgan *leis* an còmhdaichear e, agus mar an crios leis an crioſlaichear e a ghnàth.

20 *Is* e ſo obair m'eaſcairdean an làthair an Tighearna [l], agus nan daoine a labhras olc an aghaidh m'anama.

21 Ach dean thuſa air mo ſhon, a Thighearna Dhé, air ſgàth t'ainme; a chionn gu *bheil* do thròcair maith, ſaor thuſa mi.

22 Oir *tha* mi bochd [m] agus uireaſbhuidheach, agus tha mo chridhe air a lotadh an taobh a ſtigh dhiom.

23 Mar

a An *do thilg thu uait ſinn? agus nach dthéid thu mach?* Faic Salm LX. r. 10. b *Ann an Dia.* Eabh. c "*Cuir an t-aingidh,*" ars' iadſan, "*os a chionn*, &c. d *thigeadh binn a mach na aghaidh.* e *a chùram.* Faic Gniomh. Caib. I. r. 20. f *gun athair.* g *tilgear a mach.* h *a ſhìneas tròcair thuige.* i *d'an ainm.* j *glanar as, dubhar as.* k *a chulaidh.* l *duais m'eaſcairdean o'n Tighearna.* m *truagh.*

23 Mar ſgàile a' claonadh ſìos tha mi a' ſiubhal; tha mi air m'fhuadachadh mar an locuſt.

24 Tha mo ghlùinean lag le troſgadh, agus tha m'fheoil a' teireachduinn le dìth ſulta.

25 Agus tha mi a'm' aobhar maſlaidh dhoibh: *'nuair* a ſheall iad orm, chrath iad an cinn.

26 Cuidich leam, a Thighearna mo Dhia; ſaor mi a réir do thròcaire:

27 Chum gu'm bi fios aca gur i ſo do làmh, *gur* tuſa, a Thighearn, a rinn e.

28 Malluicheadh iadſan, ach beannuich thuſa: 'nuair a dh'éireas iad, biodh nàire orra; ach biodh t'òglachſa ait.

29 Biodh m'eaſcairdean air an còmhdachadh le nàire, agus biodh iad air am folachadh le'n amhluadh féin, mar le falluing.

30 Ard-mholaidh mi an Tighearna le m' bheul; agus am meaſg na mòr-chuideachd bheir mi cliu dha.

31 Oir ſeaſaidh e aig deas làimh an duine bhochd, chum *a* ſhaoradh o luchd-dìtibh [a] 'anama.

SALM CX.

Salm le Daibhidh.

THUBHAIRT an Tighearna ri m' Thighearna, Suidh aig mo dheas làimh, gus an cuir mi do naimhdean nan ſtòl ſo d' choſaibh.

2 Slat-ſhuaicheantais do chumhachd cuiridh an Tighearn a mach a Sion: bi thuſa a'd' uachdaran am meadhon do naimhde.

3 *Bithidh* do ſhluagh ro-thoileach ann an latha do chumhachd: ann am maiſe na naomhachd, mar an drùchd o bholg na maidne, *bithidh* t'òigridh agad [b].

4 Mhionnaich an Tighearn, agus cha ghabh e aithreachas, *Is* ſagart thu gu bràth, a réir orduigh Melchiſedeic.

5 Buailidh [c] an Tighearn, a ta aig do dheas làimh, righrean ann an latha 'fheirge.

6 Bheir e breth am meaſg nan cinneach; lìonaidh e *gach àit le* corpaibh marbha; lotaidh e an t-uachdaran [d] os cionn iomadh tìr.

7 Do'n t-ſruth air an t-ſlighe òlaidh e; uime ſin togaidh e ſuas a cheann.

SALM CXI.

MOLAIBHSE an Tighearna. Bheir miſe cliu do'n Tighearna le m' uile chridhe, ann an coinneamh nam firean, agus anns a' choimhthional.

2 *Tha* gnìomharan an Tighearna mòr; rannſaichear iad leo-ſan uile aig am bheil tlachd annta.

3 Urramach agus glòrmhor *tha* 'obair-ſan; agus mairidh 'fhìreantachd gu bràth.

4 Chuir e a ghnìomharan iongantach air chuimhne: gràſmhor agus truacanta *tha* an Tighearna.

5 Thug e lòn [e] doibhſan d'an eagal e: cuimhnichidh e gu bràth a choimhcheangal.

6 Chuir e neart 'oibre an céill d'a ſhluagh, le oighreachd nan cinneach a thabhairt doibh.

7 *Is* iad firinn agus ceartas gnìomharan a làmh; *is* fior [f] 'àitheantaſan uile.

8 Seaſmhach *tha* iad gu ſaoghal nan ſaoghal, deanta ann am firinn agus an ceartas.

9 Chuir e ſaorſa dh'ionnſuidh a ſhluaigh, dh'àithn e a choimhcheangal gu bràth: *is* naomh agus urramach 'ainm-ſan.

10 *Is* e eagal an Tighearna toiſeach a' ghliocais; *tha* deagh thuigſe aca-ſan uile a ni *'àitheanta-ſan* [g]: mairidh a chliu gu bràth.

SALM CXII.

MOLAIBHSE an Tighearn. *Is* beannuichte an duine air am bi eagal an Tighearna, a ghabhas tlachd mòr d'a àitheantaibh.

2 Làidir anns an tìr bithidh a ſhliochd; beannuichear ginealach nam firean.

a *bhreitheamhnaibh.* b *roimh reult na maidne ghin mi thu.* c *Lotaidh.* d *an ceann.* Eabh. e *biadh.* f *cinnteach. ſeaſmhach.* g *a ghnàthaicheas e,* i. e. *eagal an Tighearna: a ni iad.* Eabh.

3 *Bithidh* maoin agus ſaibhreas na thigh; agus mairidh 'fhìreantachd gu bràth.

4 Ann an dorchadas éiridh ſolus do na fìreanaibh: gràſmhor agus làn truacantais, agus cothromach *tha* [an Tighearna [a].]

5 *Is* maith a'n duine a bhios truacanta agus coingheallach [b], *a* riaghlas a ghnothuiche gu ceart [c]:

6 Oir gu bràth cha ghluaiſear e; air chuimhne gu bràth bithidh am firean.

7 Roimh dhroch ſgeul cha bhi eagal air; *tha* a chridhe ſuidhichte, ag earbſadh as an Tighearna.

8 *Tha* a chridhe air a ſhocrachadh, cha bhi eagal air, gus am faic e *crìoch* a naimhdean [d].

9 Sgaoil e, thug e do na bochdaibh; mairidh 'fhìreantachd gu bràth; mairidh 'adharc le h-urram.

10 Chi an droch dhuine, agus bithidh fearg air; caſaidh e 'fhiaclan, agus ſeargaidh e as: ſgrioſar miann nan aingidh.

SALM CXIII.

MOLAIBHSE an Tighearna. Molaibh, O ſibhſe òglacha an Tighearna, molaibh ainm an Tighearna.

2 Gu ma beannuichte ainm an Tighearna, o'n àm ſo agus gu bràth.

3 O éirigh na gréine gu ruig a luidhe, *is* ionmholta ainm an Tighearna.

4 Ard os cionn nan cinneach uile *tha* an Tighearn, os cionn nan nèamh a ghlòir.

5 Cò *is* coſmhuil ris an Tighearn ar Dia, a tha na chòmhnuidh ſhuas [e]?

6 A dh'ìſlicheas e féin gu amharc air *na nithibh a ta* ſna nèamhaibh, agus air an talamh?

7 Togaidh e am bochd o'n duſlach; o'n òtrach ardaichidh e an t-ainnis;

8 Chum *a* chur na ſhuidhe le ard uaiſlibh [f], le ard uaiſlibh a ſhluaigh.

9 Bheir e air a'mhnaoi a ta gun ſliochd còmhnuidh a ghabhail ann an tigh, na màthair air cloinne.

SALM CXIV.

MOLAIBHSE an Tighearna. 'Nuair a thàinig Iſrael a mach as an Eiphit, tigh Iacoib o ſhluagh coimheach [g],

2 Bha Iudah dha mar a chòmhnuidh naomh, Iſrael mar a thighearnas.

3 Chunnaic an cuan, agus theich e; thionndaidh Iordan air a h-ais.

4 Leum na beannta mar reitheacha, na cnuic mar uain.

5 Ciod, a chuain, *a thug* ort teicheadh? a Iordain, *a thug ort* tionndadh air t'ais?

6 A bheannta, *a thug oirbh* leum mar reitheacha; a chnoca, mar uain?

7 Criothnaich, a thalaimh, an làthair an Tighearna, an làthair Dhé Iacoib!

8 A thionndaidheas a' charraig gu linne uiſge, an ailbhinn [h] gu tobar uiſge!

SALM CXV.

TABHAIR glòir, a Thighearna cha'n ann duinne, cha'n ann duinne, ach do t'ainm féin, air ſon do thròcaire agus air ſon t'fhìrinne.

2 C'ar ſon a theireadh na cinnich, C'àit a nis *am bheil* an Dia?

3 Ach *a ta* ar Dia-ne anns na nèamhaibh, agus rinn e gach ni a b'àill leis.

4 *Is* airgiod agus òr an ìodhoil-ſan, obair làmha dhaoine!

5 *Tha* béil aca, ach cha labhair iad; sùilean aca, ach cha'n fhaic iad.

6 *Tha* cluaſan aca, ach cha chluinn iad; ſròinean aca, ach cha ghabh iad fàile [i].

7 *Tha* làmhan aca, ach cha laimhſich iad; coſan [j] aca, ach cha'n imich

a Faic Salm CXI. r. 4. b Bithidh *an duine maith bàigheil agus coingheallach.* c *ann am breitheanas.* Eabh. d *gus an amhairc e air 'eaſcairdibh.* Faic Salm XCII. r. 11. e *a dh'ardaicheas e féin gu còmhnuidh a ghabhail.* Eabh. f *maithibh, prionnſaibh.* g *o ſhluagh le teangaidh choimhich.* h *a' chlach-theine.* i *àile.* j *caſan.*

ich iad; agus cha labhair iad trìd an ſcornain.

8 Coſmhuil riu féin tha iadſan a ni iad, agus gach neach a dh'earbas aſda.

9 Earbaidh tigh Iſraeil [a] as an Tighearn: *is* eſan an còmhnadh [b], agus an ſgiath.

10 Earbaidh tigh Aaroin [c] as an Tighearn: *is* eſan an còmhnadh, agus an ſgiath.

11 Iadſan [d] air am bi eagal an Tighearna, earbaidh iad [e] as an Tighearn: *is* eſan an còmhnadh agus an ſgiath.

12 Bha an Tighearna cuimhneach oirnn: beannuichidh e ſinn, beannuichidh e tigh Iſraeil, beannuichidh e tigh Aaroin.

13 Beannuichidh e iadſan air am bi eagal an Tighearna, na big agus na mòir.

14 Cuiridh an Tighearna ſibh an ſlonmhoireachd, ſibh féin agus bhur clann.

15 *Is* beannuichte ſibhſe o'n Tighearn, a rinn na nèamha agus an talamh.

16 *Is* leis an Tighearna na nèamha, *eadhon* na nèamha [f]; ach an talamh thug e do chloinn nan daoine.

17 Cha mhol na mairbh an Tighearna, no iadſan uile a théid sìos toſdach *do'n uaigh*.

18 Ach beannuichidh ſinne an Tighearn, o'n àm ſo agus gu bràth. Molaibhſe an Tighearna.

SALM CXVI.

IS toigh leam an Tighearn, oir dh'éiſd e ri guth m'athchuingean [g].

2 A chionn gu'n d'aom e a chluas rium, uime ſin ri m' bheo éighidh mi ris.

3 Ghuairtich doilgheaſan [h] a' bhàis mi, agus ghlac piantan ifrinn mi: fhuair mi teinn agus bròn.

4 An ſin ghairm mi air ainm an Tighearna: A Thighearna, guidheam ort, ſaor m'anam.

5 *Is* gràſmhor an Tighearn, agus cothromach; agus *is* tròcaireach ar Dia-ne.

6 Gleidhidh an Tighearna na daoine aon-fhillte [i]: dh'ìſlicheadh mi, agus theaſairg e mi.

7 Pill, O m'anam, gu d' ſhuaimhneas [j], oir bhuin an Tighearna riut gu fial.

8 Oir ſhaor thu [k] m'anam o'n bhàs, mo ſhùil o dheuraibh, agus mo chos o ſhleamhnachadh.

9 Gluaiſidh mi am ſianuis an Tighearna ann an tìr nam beo.

10 Chreid mi, uime ſin labhair mi [l]; chlaoidheadh mi gu mòr.

11 Thubhairt mi a'm' dheifir, *Tha* gach duine breugach.

12 Ciod a dh'ìocas mi do'n Tighearn air ſon 'uile thiodhlaca dhomh?

13 Glacaidh mi cupan na ſlàinte, agus gairmidh [m] mi air ainm an Tighearna.

14 Iocaidh mi mo bhòidean do'n Tighearna, a nis an làthair a ſhluaigh uile.

15 *Is* luachmhor an ſeaſladh an Tighearna bàs a naomh.

16 O a Thighearn, gu deimhin *is* mi [n] t'òglach, *is* mi t'òglach, mac do bhan-oglaich; ſgaoil thu mo chuibhreach.

17 Dhuitſe ìobraidh mi ìobairt molaidh [o], agus air ainm an Tighearna gairmidh mi.

18 Iocaidh mi mo bhòidean do'n Tighearn a nis an làthair a ſhluaigh uile,

19 Ann an cùirtibh tighe an Tighearna, ann ad mheadhon-ſa, O Ieruſalem. Molaibhſe an Tighearna.

SALM CXVII.

MOLAIBH an Tighearna, ſibhſe a chinneacha uile; molaibh e, a ſhlòigh uile:

a *O Iſraeil, earb thuſa.* b *am fear-cuideachaidh.* c *A thigh Aaroin, earb.* d *Sibhſe.* e *earbaibh.* f *nèamha nan nèamh.* g *ri m' ghuth* agus *ri m' athchuingibh.* h *ioghanna, pianta.* i *ſimplidh, neo-chronail.* j *gu d' fhois.* k *ſhaor e.* l Faic II. Cor. Caib. IV. r. 13. m *goiridh.* n *a chionn gur mi.* o *buidheachais.*

2 Oir is mòr a thròcair chaomh [a] d'ar taobh-ne; agus *mairidh* firinn an Tighearna gu bràth. Molaibhſe an Tighearna.

SALM CXVIII.

O THUGAIBH buidheachas [b] do'n Tighearn, oir *tha* e maith, oir gu bràth *mairidh* a thròcair:

2 Abradh Iſrael a nis, gu *mair* a thròcair gu bràth.

3 Abradh tigh Aaroin a nis, gu *mair* a thròcair gu bràth.

4 Abradh iadſan a nis d'an eagal an Tighearna, gu *mair* a thròcair gu bràth.

5 Ann an teinn ghairm mi air an Tighearn: fhreagair an Tighearna mi, *ga m' chur* ann an ionad farſaing.

6 *Tha*'n Tighearna leam [c], cha'n eagal leam ciod a dh'fheudas duine a dheanamh orm.

7 Tha'n Tighearn am meaſg mo luchd-cuideachaidh, agus chi mi *crìoch* mo luchd-fuatha [d].

8 *Is* fearr earbſadh as an Tighearna, na earbſadh a duine.

9 *Is* fearr earbſadh as an Tighearna, na earbſadh a h-uachdaranaibh [e].

10 Chuairtich na cinnich gu léir mi; ach ann an ainm an Tighearna gearraidh mi as [f] iad.

11 Chuairtich iad mi, ſeadh, chuairtich iad mi; ach ann an ainm an Tighearna gearraidh mi as iad.

12 Chuairtich iad mi mar bheachaibh; cuirear as iad mar theine droighnich; oir ann an ainm an Tighearna gearraidh mi as iad.

13 Thug thu [g] ionnſuidh dhian orm, chum mo leagadh; ach chuidich an Tighearna leam.

14 *Is* e 'n Tighearna mo neart, agus mo cheòl [h]; agus is e mo ſhlàinte.

15 *Tha* guth gairdeachais agus ſlàinte ann am pàilliunaibh nam firean: rinn deas làmh an Tighearna treubhantas!

16 Dh'ardaicheadh deas làmh an Tighearna; rinn deas làmh an Tighearna treubhantas!

17 Cha'n fhaigh mi bàs, ach mairidh mi beo, agus cuiridh mi'n céill oibre an Tighearna.

18 Throm-ſmachdaich an Tighearna mi; ach gu bàs cha d'thug e thairis mi.

19 Foſglaibh dhomh geatachan an ionracais; théid mi ſteach orra, agus molaidh mi an Tighearna.

20 *Is* e ſo geatadh an Tighearna, air an dthéid na fireana ſteach.

21 Molaidh mi thu, oir dh'éiſd thu rium, agus is tu mo ſhlàinte.

22 A' chlach *a* dhiùlt na clachairean, rinneadh i na *cloich*-chinn na h-oiſinne.

23 O'n Tighearna tha ſo; is iongantach e nar sùilibh-ne!

24 *Is* e ſo an là *a* rinn [i] an Tighearna: deanamaid gairdeachas, agus biomaid ait air.

25 Guidheamaid [l] ort, a Thighearna, ſaor a nis; guidheamaid ort, a Thighearna, ſoirbhich *leinn* a nis.

26 Beannuichte gu *robh* an Ti a thig an ainm an Tighearna; thug ſinne beannachd oirbhſe o thigh an Tighearna.

27 *Is* e Dia a's Tighearn ann, agus dhealraich e oirnn [k]: ceanglaibh an ìobairt [l] le cordaibh, eadhon ri adharcaibh na h-altaire.

28 *Is* tuſa mo Dhia, agus molaidh mi thu: mo Dhia, ardaich *idh* mi thu.

29 O thugaibh buidheachas do'n Tighearn, oir *tha* e maith, oir gu bràth *mairidh* a thròcair!

SALM CXIX.

ℵ *Aleph.*

IS beannuichte iadſan a tha neolochdach [m] ſan t-ſlighe, a dh'imicheas ann an lagh an Tighearna.

2 *Is* beannuichte iadſan a ghleidheas

a *a ghràs.* b *moladh.* c *am meaſg mo luchd-cuideachaidh.*
d Faic Salm CXII. r. 8. e *prionnſaibh.* f *ghearr mi as, ſgrios mi.*
g *Thugadh.* h *mo laoidh, fàth mo mholaidh.* i *dh'orduich.*
l *Guidheam.* k *thug e ſolus dhuinn.* l *an t-uan.* m *ionraic, iomlan.*

eas a theiſteis[a], *a* dh'iarras e le'n uile
chridhe.
3 Mar an ceudna cha dean iad
aingidheachd : na ſhlighibh imichidh
iad.
4 Dh'àithn thu t'orduighean[b] a
bhi air an coimhead gu dìcheallach.
5 O nach robh mo cheumanna air
an ſtiùradh, chum do reachdan a
choimhead !
6 An ſin cha ghabh mi nàire, an
uair a bheir mi ſpéis do t'àithean-
taibh gu léir.
7 Molaidh mi thu le tréibhdhir-
eas cridhe, 'nuair a dh'fhòghlumas
mi breitheanais do cheartais.
8 Coimhididh mi do reachda : O
na tréig mi gu tur !

ב *Beth.*

9 Ciod leis an glan an t-òganach
a ſhlighe ? trìd faicill, a réir t'fhoc-
ail[c].
10 Le m'uile chridhe dh'iarr mi
thu : na leig dhomh dol air ſeachar-
an o t'àitheantaibh.
11 A'm' chridhe dh'fholuich mi
t'fhocal, chum nach peacaichinn a't'
aghaidh.
12 *Is* beannuichte thuſa, a Thigh-
earna ; teagaiſg dhomh do reachdan.
13 Le m' bhilibh chuir mi 'n céill
uile bhreitheanais do bhéil.
14 Ann an ſlighe do theiſteas rinn
mi gairdeachas, mar os cionn gach
uile ſhaibhreis.
15 Air t'àitheantaibh beachd-
ſmuainichidh mi, agus dearcaidh[d]
mi air do cheumannaibh.
16 Ann ad reachdaibh gabhaidh
mi tlachd ; cha di-chuimhnich mi do
bhriathra.

ג *Gimel.*

17 Buin gu fial ri t'òglach, *chum*
gu bi mi beo, agus *gu* coimhid mi do
bhriathra.
18 Foſgail mo ſhùilean, chum gu
faic mi nithe iongantach o d' lagh.
19 *Is* coigreach air talamh mi ;
na ceil orm t'àitheanta.
20 Tha m'anam brùite, le déidh
air do bhreitheanaſaibh gach tràth.
21 Smachduich thu na h-uaibh-
rich : *is* malluichte iadſan a théid air
ſeacharan o t'àitheantaibh[e].
22 Tionndaidh uam maſladh agus
tàir ; oir ghléidh mi do theiſteis.
23 Shuidh eadhon uachdarain, *a-*
gus labhair iad a'm' aghaidh ; ach
bheachd-ſmuainich t'òglach air do
reachdaibh.
24 Mar an ceudna *is* iad do theiſt-
eis mo thlachd, mo chomhairlichean.

ד *Daleth.*

25 Tha m'anam a' leantuinn ris
an ùir[f] : beothaich mi a réir t'fhoc-
ail.
26 Chuir mi an céill mo ſhlighean,
agus dh'éiſd thu rium : teagaiſg
dhomh do reachdan.
27 Thoir orm ſlighe t'àitheantan[g]
a thuigſinn, agus labhraidh mi air
t'oibribh iongantach.
28 Tha m'anam a' leaghadh as le
tuirſe[h] : neartaich mi a réir t'fhoc-
ail.
29 Cuir uam ſlighe nam breug,
agus gu gràſmhor deònaich dhomh do
lagh.
30 Roghnaich[i] mi ſlighe na fi-
rinn ; chuir mi do bhreitheanais *fa*
m' chomhair.
31 Dhlùth-lean mi ri d' theiſteaſ-
aibh : a Thighearna, na cuir gu nàire
mi.
32 Ann an ſlighe t'àitheanta ruith-
idh mi, 'nuair a chuireas tu mo chridhe
am farſaingeachd.

ה *He.*

33 Teagaiſg dhomh, a Thighear-
na, ſlighe do reachda, agus gleidhidh
mi i gu ruig a' chrìoch[j].
34 Thoir tuigſe dhomh, agus
gleidhidh mi do lagh ; ſeadh, coimh-
ididh mi e le m'uile chridhe.
35 Thoir orm triall an ceum t'àith-
eanta ; oir ann-ſan tha mo thlachd.
36 Lùb mo chridhe gu d' theiſteaſ-
aibh, agus ni h-ann gu ſannt.

a *'fhianuiſean.* b *do reachdan.* c *le d' bhriathran a choimhead.*
d *geur-amhaircidh.* e Faic Deut. Caib. XXVII. r. 26. f *duſlach.*
g *t'orduighean.* h *bròn.* i *Thagh.* j *gu crìch mo ſh-aoghail.*

37 Tionndaidh mo shùilean o amharc air dìomhanas; ann ad shlighibh[a] beothaich mi.

38 Daingnich t'fhocal do t'òglach, air *am bheil* t'eagal-sa[b].

39 Cuir uam[c] mo mhasladh a's eagal leam; oir *tha* do bhreitheanais maith.

40 Feuch, is miannach leamsa do reachdan[d]: a'd' cheartas beothaich mi.

ו *Vau.*

41 Agus thigeadh do thròcair a m'ionnsuidh, a Thighearn, do shlàinte a réir t'fhocail:

42 An sin bithidh freagradh agam dhasan a bheir masladh dhomh, gu bheil m'earbsadh as t'fhocal-sa.

43 Agus na buin focal na firinn gu h-iomlan as mo bheul; oir ann ad bhreitheanasaibh chuir mi mo dhòchas.

44 Agus coimhididh mi do lagh a ghnàth, gu suthain is gu sìor.

45 Agus gluaisidh mi am sarsaingeachd[e]; a chionn gu'n iarr mi do reachda.

46 Agus labhraidh mi air do theisteis an làthair righre, agus cha bhi nàire orm.

47 Agus gabhaidh mi tlachd do t'àitheantaibh, d'an d'thug mi gràdh.

48 Agus togaidh mi mo làmha ri t'àitheanta, d'an d'thug mi gràdh: agus beachd-smuainichidh mi air do reachdaibh.

ז *Zain.*

49 Cuimhnich am focal[f] do t'òglach, as an d'thug thu orm earbsadh.

50 *Is* e so mo chomhfhurtachd ann am àmhghar; oir bheothaich t'fhocal mi.

51 Rinn na h-uaibhrich fanoid orm gu mòr; gidheadh o d' lagh cha do chlaon mi.

52 Chuimhnich mi do bhreitheanais o chian, a Thighearna, agus fhuair mi comhfhurtachd.

53 Ghlac uamhann mi a thaobh nan daoine aingidh, a thréigeas do lagh.

54 B'iad do reachdan mo cheòl ann an tigh mo chuairt.

55 Chuimhnich mi t'ainm, a Thighearn, anns an oidhche, agus ghléidh mi do lagh.

56 Mar so tharladh[g] dhomhsa, a chionn gu'n do ghléidh mi do reachda.

ח *Cheth.*

57 *Is* tusa mo chuibhrionn, a Thighearna: thubhairt mi gu coimhidinn t'fhocail.

58 Dh'asluich mi do dheadh-ghean[h] le m'uile chridhe: dean tròcair orm a réir t'fhocail.

59 Chnuasaich mi[i] mo shlighean, agus phill mi mo chosa ri d' theisteasaibh.

60 Rinn mi deifir[j], agus cha robh mi mairnealach[k], chum t'àitheantan a choimhead.

61 Ghreach buidhnean dhroch dhaoine mi; ach cha do dhi-chuimhnich mi do lagh.

62 Mu mheadhon-oidhche éiridh mi, chum buidheachas a thoirt duit air son bhreitheanasa do cheartais.

63 *Is* fear-comuinn[l] mi dhoibhsan uile air am bi t'eagal, agus dhoibhsan a ghleidheas do reachda.

64 Do d' thròcair, a Thighearna, tha'n talamh làn: teagaisg dhomh do reachdan.

ט *Teth.*

65 Rinn thu gu maith do t'òglach, a Thighearn, a réir t'fhocail.

66 Teagaisg dhomh deagh thuigse agus eòlas; oir chreid mi t'àitheanta.

67 Mun robh mi ann an àmhghar[m], chaidh mi air seacharan: ach a nis tha mi a' gleidheadh t'fhocail.

68 *Is* maith thusa, agus ni thu maith: teagaisg dhomh do reachdan.

69 Dhealbh na h-uaibhrich breug a'm' aghaidh; ach gleidhidh mise t'àitheanta.

a *shlighe.* b *a* bhios *a chum t'eagail-sa.* c *Tionndaidh uam.* d *t'orduighean.* e *gu saor.* f *t'fhocal.* g *thachair, bha e.* h *do ghnùis.* Eabh. i *Mheas, bheachd-smuainich mi air.* j *cabhag.* k *cha do chuir mi dàil.* l *companach, caidreach.* m *teinn.*

t'àitheanta [a] le m'uile chridhe.
70 Co reamhar [b] ri saill tha an
cridhe-san; ach ann ad lagh tha mo
thlachd-sa.
71 *Is* maith dhomhsa gu'n robh
mi ann an àmhghar, chum gu fògh-
lumainn do reachda.
72 *Is* fearr dhomhsa lagh do bhéil,
na mìltean do òr agus do airgiod.

י *Jod.*

73 Rinn agus dhealbh do làmhan
mi: thoir tuigse dhomh, chum gu
fòghlum mi t'àitheantan.
74 Chi iadsan air am bi t'eagal
mi, agus bithidh iad ait, a chionn
gu'n d'earb mi as t'fhocal.
75 Tha fhios agam, a Thighear-
na, gu *bheil* do bhreitheanais ceart,
agus gur ann am firinn a chlaoidh
thu mi.
76 Biodh a nis do thròcair chaomh
chum comhfhurtachda dhomh, a réir
t'fhocail ri t'òglach.
77 Thigeadh do chaomh thròcair-
ean a m'ionnsuidh, chum gu'm bi mi
beo; oir *is* e do lagh mo thlachd.
78 Biodh nàire air luchd an ard-
ain, oir gun aobhar [c] bhuin iad gu
fiar rium; ach beachd-smuainichidh
mise air t'àitheantaibh [d].
79 Pilleadh iadsan air am bheil
t'eagal rium, agus iadsan a tha eòl-
ach air do theisteasaibh.
80 Biodh mo chridhe tréibhdhir-
each [e] ann ad reachdaibh, chum nach
nàraichear mi.

כ *Caph.*

81 Tha m'anam air a chlaoidh
le déigh air do shlàinte: ann ad
fhocal chuir mi mo dhòchas.
82 Tha mo shùilean air an caith-
eadh *le feitheamh* ri t'fhocal, 'nuair
a ta mi ag ràdh, C'uin a ni thu furt-
achd orm?
83 Oir tha mi mar shearraig [f] ann
an deataich; gidheadh cha do dhi-
chuimhnich mi do reachda.
84 Cia lion iad laithean t'òglaich?
c'uin a chuireas tu breitheanas an
gnìomh orra-san a tha'n tòir orm?
85 Chladhaich na h-uaibhrich
sluichd dhomh, nach *'eil* a réir do
lagha.
86 *Is* firinn t'àitheanta-sa gu léir:
gu fealltach tha iad an tòir orm;
cuidich thusa leam.
87 Is beag nach do chuir iad as
domh air talamh; ach cha do thréig
mise do reachda.
88 A réir do chaomh thròcaire
beothaich thusa mi, agus gleidhidh
mi teisteas do bhéil.

ל *Lamed.*

89 Gu bràth, a Thighearn, tha
t'fhocal seasmhach anns na nèamh-
aibh.
90 O linn gu linn tha t'fhìrinn:
dhaingnich thu an talamh, agus seas-
aidh e.
91 A réir t'orduighean tha iad
buan *gus* an diugh; oir *is* iad na
h uile do sheirbhisich.
92 Mur bhiodh *gu'm b'e* do lagh
mo thlachd, an sin gheibhinn bàs
a'm' àmhghar.
93 Gu bràth cha di-chuimhnich
mi do reachdan; oir leosan bheoth-
aich thu mi.
94 *Is* leat mise, saor mi; oir dh'iarr
mi do reachda.
95 Dh'fheith na h-aingidh orm,
chum mo sgrios; ach beachd-smuain-
ichidh mise air do theisteasaibh.
96 Chunnaic mi crìoch gach iom-
làine; *tha* t'àithne-sa ro-fharsaing.

מ *Mem.*

97 O cia h-ionmhuinn leam do
lagh-sa? gach là *is* e mo smuainteach-
adh [g].
98 Le t'àithne [h] rinn thu mi ni's
glice na m'eascairdean; oir *tha* i a
ghnàth leam.
99 Os cionn mo luchd-teagaisg
uile tha mi a' tuigsinn; oir *is* iad do
theisteis mo smuainteachadh.
100 Os cionn nan seanair tha mi
crìonna, a chionn gu bheil mi a'
gleidheadh do reachda.

101 O

a *do reachdan, t'orduighean.* b *tiugh.* c *gu fealltach.* d *t'orduighibh, do riaghailtibh.* e *ionraic, iomlan.* f *shoire-craicinn.* g *aobhar mo smuaintе.* h *t'àitheantaibh.*

101 O gach droch shlighe chum mi mo chosan, chum gu coimhidinn t'fhocal.

102 O d' bhreitheanasaibh cha do chlaon mi: oir theagaisg thusa mi.

103 Cia milis le m' bhlas do bhriathra! *ni's milse tha iad* na mil do m' bheul [a].

104 Trìd do reachdan fhuair mi tuigse: uime sin is fuathach leam gach slighe bhreugach.

נ *Nun.*

105 *Is* lòchran t'fhocal dom' chois, agus solus do m' cheum.

106 Mhionnaich mi, agus coimhlionaidh mi e, gu'n coimhid mi breitheanais do cheartais.

107 Tha mi ann an àmhghar romhòr: ath-bheothaich mi, a Thighearn, a réir t'fhocail.

108 Gabh uam gu taitneach, guidheam ort, a Thighearna, saor thabhartais mo bhéil; agus teagaisg dhomh do bhreitheanais.

109 *Tha* m'anam a ghnàth a'm' làimh; gidheadh cha do dhi-chuimhnich mi do lagh.

110 Chuir droch dhaoine ribe [b] romham; ach o d' reachdaibh cha deachaidh mise air seacharan.

111 Ghabh mi do theisteis mar oighreachd gu bràth; oir *is* iad aoibhneas mo chridhe.

112 Dh'aom mi mo chridhe chum do reachdan a chur an gnìomh a ghnàth, gu ruig a' chrìoch.

ס *Samech.*

113 Is fuath leam smuainte faoin; ach is toigh leam do lagh.

114 *Is* tusa m'ionad-foluich, agus mo sgiath: as t'fhocal-sa tha m'earbsa.

115 Imichibh uam, a luchd-deanamh an uilc; oir gleidhidh mise aitheanta mo Dhé.

116 Cum suas mi a réir t'fhocail, agus mairidh mi beo; agus na leig fo nàire mi a thaobh mo dhòchais.

117 Daingnich [c] mi, agus bithidh mi tèaruinte; agus bithidh tlachd agam ann ad reachdaibh [d] a ghnàth.

118 Shaltair thu orra-san uile a chaidh air seacharan od' reachdaibh; oir *is* breug [e] an cealg.

119 Mar shal tilgidh tu uait [f] uile dhroch dhaoine na talmhainn: uime sin is toigh leam do theisteis.

120 Chriothnuich m'fheoil le h-uamhunn romhad; agus bha eagal orm roimh do bhreitheanasaibh.

ע *Ain.*

121 Rinn mi breitheanas agus ceartas: na fàg mi dom' luchd-foirneirt.

122 Bi sa an urras air t'òglach chum maith: na deanadh na h-uaibhrich foirneart orm.

123 Tha mo shùilean air an caitheadh *le bhi feitheamh* air son do shlàinte, agus air son focail t'fhìreantachda [g].

124 Buin ri t'òglach a réir do thròcaire, agus teagaisg dhomh do reachda.

125 *Is* mi t'òglach; thoir tuigse dhomh, chum gu'm bi eòlas agam air do theisteasaibh.

126 *Is* mithich dhuit, a Thighearn, a bhi deanamh: bhris iad do lagh.

127 Uime sin is annsa [h] leamsa t'àitheanta na'n t-òr, seadh, na'n t-òr fior-ghlan.

128 Uime sin measam *do* reachdan uile [*a thaobh* gach *ni*] a bhi ceart: is fuathach leam gach slighe bhreugach.

פ *Pe.*

129 *Is* iongantach do theisteis: air an aobhar sin gleidhidh m'anam iad.

130 Bheir fosgladh do bhriathar solus, a' teagaisg nan daoine aonfhillte [i].

131 Dh'fhosgail mi mo bheul, a' plosgartaich; oir bha mi an geall air t'àitheantaibh.

132 Amhairc orm, agus dean tròcair orm, mar is gnàth leat a dheanamh

a *dom' chàirean.* b *lìon.* c *Neartaich, cum suas.* d *dearcaidh mi air do reachdaibh.* e *diombain.* f *cuiridh tu as do.* g *do cheartais.* h *ionmhuinne.* i *simplidh.*

ṡamh dhoibhſan le'n ionmhuinn t'ainm.

133 Stiuir mo cheumanna a réir t'fhocail; agus na biodh aig euceart ſam bith uachdaranachd orm.

134 Teaſairg mi o fhoirneart dhaoine [a]; agus coimhididh mi t'orduighean.

135 Thoir air do ghnùis dealrachadh air t'òglach, agus teagaiſg dhomh do reachda.

136 Ruith ſrutha dheur [b] sìos o m' ſhùilibh, a chionn nach do choimhid iad do lagh.

צ *Tsaddi.*

137 *Is* cothromach thuſa, a Thighearn, agus *is* ceart do bhreitheanas [c].

138 Dh'àithn thu do theiſteis mar cheartas agus mar fhìrinn mhòir [d].

139 Chlaoidh m'eud mi [e], a chionn gu'n do dhi-chuimhnich mo naimhdean do bhriathran.

140 Ro-ghlan *tha* t'fhocal-ſa, agus as ionmhuinn le t'òglach e.

141 Beag agus ſuarach *a ta* mi; gidheadh cha di-chuimhnich mi do reachda.

142 *Is* ceartas sìorruidh do cheartas-ſa, agus *is* fìrinn do lagh.

143 Ghlac teinn agus àmhghar mi; ach *is* iad t'àitheanta mo thlachd.

144 *Mairidh* ceartas do theiſteas gu bràth: thoir-ſa tuigſe dhomh, agus bithidh mi beo.

ק *Koph.*

145 Ghlaodh mi le m' uile chridhe; éiſd rium, a Thighearna: gleidhidh mi do reachda.

146 Ghlaodh mi riut; ſaor mi, agus coimhididh mi do theiſteis.

147 Thàinig mi roimh 'n ſcarthanaich [f], agus dh'éigh mi: as t'fhocal dh'earb mi.

148 Ghabh mo ſhùilean roimh fhairibh na h-oidhche, chum gu beachd-ſmuainichinn air t'fhocal.

149 Eiſd ri m' ghuth a réir do chaoimhneis-ghràidh: a Thighearn, a réir do bhreitheanais beothaich mi.

150 Thàinig luchd-leanmhuinn droch-bheirt am ſagus: ach fada bha iad o d' lagh.

151 Am ſagus *tha* thuſa, a Thighearn; agus *is* fìrinn t'àitheantan uile.

152 O thoiſeach [g] b'fhioſrach mi a thaobh do theiſteas, gu'n do ſhuidhich thu iad gu bràth.

ר *Resh.*

153 Amhairc air m'àmhghar, agus teaſairg mi; oir cha do dhi-chuimhnich mi do lagh.

154 Tagair mo chùis, agus ſaor mi; a réir t'fhocail beothaich mi.

155 *Is* fada ſlàinte [h] o dhroch dhaoinibh; oir cha'n iarr iad do reachda.

156 *Is* lìonmhor [i] do chaomh thròcairean, a Thighearna; a réir do bhreitheanas [j] beothaich mi.

157 *Is* lìonmhor mo luchd tòrachd agus m'eaſcairdean; gidheadh, o d' theiſteaſaibh cha do chlaon miſe.

158 Chunnaic mi luchd-euſaontais [k], agus bha doilgheas orm, a chionn nach do choimhid iad t'focal.

159 Feuch, is ionmhuinn leam do reachda: a Thighearn, a réir do chaoimhneis-ghràidh beothaich thuſa mi.

160 O thoiſeach [l] *is* fìrinn t'fhocal-ſa, agus gu bràth *mairidh* uile bhreitheanais do cheartais.

ש *Schin.*

161 Bha uachdarain an tòir orm gun aobhar: ach roimh t'fhocal-ſa tha eagal air mo chridhe.

162 *Tha* aiteas orm ri t'fhocal-ſa, mar neach a fhuair creach mhòr.

163 Is fuath leam, agus is oilteil leam breug; ach is toigh leam do lagh-ſa.

164 Seachd uairean ſan là bheir-eam moladh dhuit, air ſon bhreith-eanas

a *duine.* b *uiſgeacha.* Eabh. c *bhreitheanais.* d *a ta ceart agus ro-fhìrinneach.* e *Chuir mo theas-ghràdh as domh.* f *bhriſeadh na fàire, chamhair.* g *O cheann fada.* h *ſaorſa.* i *mòr.* j *bhreitheanais.* k *daoine fealltach.* l *Gu h-iomlan.*

eanas do cheartais.

165 *Is* mòr sìth na muinntir a tha toirt gràidh dod' lagh, agus cha'*n éirich* aobhar tuiſlidh dhoibh.

166 Dh'fheith mi ri d' ſhlàinte, a Thighearn; agus rinn mi t'àitheanta.

167 Choimhid m'anam do theiſteis, agus is ro-ionmhuinn leam iad.

168 Choimhid mi do reachdan agus do theiſteis; oir *tha* mo ſhlighean uile fa d' chomhair.

ת *Tau.*

169 Thigeadh mo ghlaodh am fagus a'd' làthair, a Thighearn: a réir do bhriathair thoir tuigſe dhomh.

170 Thigeadh m'aſluchadh a'd' làthair: a réir t'fhocail teaſairg mi.

171 Cuiridh mo bhilean an céill *do* chliu, 'nuair a theagaiſgeas tu dhomh do reachdan.

172 Aithriſidh mo theanga t'fhocal; oir *is* ceartas t'àitheantan uile.

173 Cuidicheadh do làmh leam; oir roghnaich mi do reachda.

174 Bha mi 'n geall air do ſhlàinte, a Thighearn; agus *is* e do lagh mo thlachd.

175 Biodh m'anam beo, agus molaidh e thu: agus cuidicheadh do bhreitheanais leam.

176 Chaidh mi air ſeacharan mar chaoraich chaillte; iarr t'òglach, oir cha do dhi-chuimhnich mi t'àitheanta.

SALM CXX.

Laoidh nan ceum.

A'M' éigin ghlaodh mi ris an Tighearn, agus dh'éiſd e rium.

2 A Thighearna, ſaor m'anam o bhilibh nam breug, o'n teangaidh chealgach.

3 Ciod a bheirear dhuit? agus ciod a nithear ort, a theanga chealgach?

4 Geur ſhaighde laoich, le eibhlibh do'n aiteal.

5 Mo thruaighe mi, gu bheil mi air chuairt ann am Meſech, gu bheil mi a'm' chòmhnuidh ann am bùthaibh Chedair!

6 Is fada ghabh m'anam còmhnuidh leo-ſan [a] a thug fuath do ſhìth.

7 *Tha* miſe *air ſon* sìth; ach 'nuair a labhras mi, *tha* iadſan air ſon cogaidh.

SALM CXXI.

Laoidh nan ceum.

TOGAIDH mi mo ſhùile chum nam beann, o'n dthig mo chabhair.

2 *Thig* mo chabhair o'n Tighearn, a rinn neamh agus talamh.

3 Cha leig e le d' chois ſleamhnachadh: cha tuit clò codail air t'fhear-coimhid [b].

4 Feuch, cha tuit clò codail [c] no ſuain air fear-coimhid Iſraeil.

5 *Is* e an Tighearna t'fhear-coimhid: *is* e an Tighearna do ſgàile air do làimh dheis.

6 San là cha bhuail [d] a' ghrian thu, no a' ghealach ſan oidhche.

7 Coimhididh an Tighearn thu o gach olc; coimhididh [e] e t'anam.

8 Coimhididh an Tighearna do dhol a mach, agus do theachd a ſteach, o'n àm ſo eadhon gu bràth.

SALM CXXII.

Laoidh nan ceum, le Daibhidh.

BHA aoibhneas orm an uair a thubhairt iad rium, Do thigh an Tighearna théid ſinn.

2 Seaſaidh ar coſan an taobh a ſtigh do d' gheataibh [f], O Ieruſalem.

3 Tha Ieruſalem air a togail mar chathair [g], a tha air a coimhcheangal ri chéile;

4 D'an dthéid na treubha ſuas, treubhan an Tighearna, gu teiſteas Iſraeil, a thoirt buidheachais da ainm an Tighearna.

5 Oir an ſin tha caithriche breitheanais air an ſuidheachadh, caithriche tighe Dhaibhidh.

6 Guidhibhſe air ſon sìth Ieruſaleim: ſoirbhichidh iadſan leis an

ionmhuinn

a *leis-ſan.* b *fhear-gleidhidh.* c *dùſal, turra-chodal.* d *loiſg.*
e *gleidhidh.* f *ann ad gheataibh.* g *ard bhaile.*

ionmhuinn thu.

7 Sìth gu robh an taobh a ſtigh do d' bhallaibh, ſuaimhneas [a] a'd' lùchairtibh!

8 Air ſgàth mo bhràithrean agus mo chairdean their mi nis, Sìth *gu robh* an taobh a ſtigh dhiot!

9 Air ſgàth tighe an Tighearna ar Dé, iarraidh mi maith duit.

SALM CXXIII.

Laoidh nan ceum.

ATʼIONNSUIDH thog mi mo ſhùilean, O thuſa a *tha* d' chòmhnuidh anns na nèamhaibh.

2 Feuch, mar *a ta* sùilean òglach air làimh am maighſtirean, *agus* mar *a ta* sùilean banoglaich air làimh a banamhaighſtir, mar ſin *tha* ar sùile-ne air an Tighearn ar Dia, gus an dean e tròcair oirnn.

3 Dean tròcair oirnn, a Thighearna, dean tròcair oirnn; oir tha ſinn air ar lionadh làn do tharcuis [b].

4 Lìonadh ar n-anam làn le fanoid luchd na ſeaſgaireachd [c], le tarcuis nan uaibhreach.

SALM CXXIV.

Laoidh nan ceum, le Daibhidh.

MUR biodh an Tighearna leinn, abradh Iſrael a nis.

2 Mur biodh an Tighearna leinn, an uair a dh'éirich daoine nar n-aghaidh;

3 An ſin ſhluigeadh iad beo ſinn, an uair a las am fearg nar n-aghaidh;

4 An ſin thigeadh tuiltean uiſgeacha tharuinn, rachadh an ſruth thar ar n-anam;

5 An ſin rachadh na h-uiſgeachan uaibhreach thar ar n-anam.

6 Beannuichte gu *robh* an Tighearna, nach d'thug ſinn mar chreich d'am fiaclaibh.

7 Chaidh ar n-anam as mar eun a ribe nan eunadair; bhriſeadh an ribe, agus chaidh ſinn as.

8 *Tha* ar cabhair ann an ainm an Tighearna, a rinn nèamh agus talamh.

SALM CXXV.

Laoidh nan ceum.

BITHIDH iadſan a dh'earbas as an Tighearna mar ſhliabh [d] Shioin, nach carruichear, *ach* a mhaireas gu sìorruidh.

2 *Mar a ta* na beannta mu thimchioll Ieruſaleim, mar ſin *tha*'n Tighearna mu thimchioll a ſhluaigh, o'n àm ſo agus gu bràth.

3 Oir cha ghabh ſlat nan daoi [e] tàmh air crannchur nam firean, air eagal gu'n sìneadh na fireana an làmha chum euceirt.

4 Dean maith, a Thighearna, dhoibhſan a ta maith, agus dhoibhſan a ta ionraic nan cridhe.

5 Ach iadſan a théid a thaobh d'an ſlighibh claon, iomainidh an Tighearn a mach le luchd-deanamh an uilc. Sìth gu *robh* air Iſrael!

SALM CXXVI.

Laoidh nan ceum.

'NUAIR a thug an Tighearn air ais braighdeanas Shioin, bha ſinn mar dhaoine a chunnaic aiſling.

2 An ſin lìonadh ar beul le gàire, agus ar teanga le luathghaire [f]: an ſin thubhairt iad am meaſg nan cinneach, Rinn an Tighearna nithe mòra air an ſon.

3 Rinn an Tighearna nithe mòra air ar ſoin-ne: bha ſinn aoibhneach.

4 Pill a rìs, a Thighearn, ar braighdeanas, mar ſhruthaibh ſan airde deas.

5 Iadſan a chuireas *sìol* le deuraibh, buainidh iad le gairdeachas.

6 Eſan a théid a mach, agus a ghuileas, ag iomchar roghadh sìl [g], gu cinnteach thig e a rìs le gairdeachas, ag iomchar a ſguab.

SALM CXXVII.

Laoidh nan ceum, le Solamh.

MUR tog an Tighearn an tigh, gu dìomhain ſaothraichidh a luchd-togail: mur gléidh an Tighearn am baile, gu dìomhain ni am fear-coimhid faire.

2 *Is* dìomhain duibhſe bhi 'g éirigh

a *ſoirbheas, ſoirbheachadh.* b *dhìmeas.* c *sàmhachair, ſuaimhneis, fois.* d *bheinn.* e *nan aingidh; na h-aingidheachd.* Eabh. f *ſeinn, ceòl.* g *sìl luachmhoir.*

righ gu moch, a bhi ſuidhe gu h-an-
moch, ag itheadh arain a' bhròin;
'nuair a bheir eſan codal d'a ſheir-
cin[a].

3 Feuch, *is* iad clann oighreachd
an Tighearna, toradh na bronn a
dhuais.

4 Mar ſhaighdibh ann an làimh
gaiſgich, mar ſin *tha* mic na h-òige.

5 *Is* ſona am fear aig am bheil a
bholg-ſaighead làn diubh: cha bhi
nàire orra, 'nuair a labhras iad r'an
naimhdibh anns a' gheatadh.

SALM CXXVIII.

Laoidh nan ceum.

IS beannuichte gach neach air am
bi eagal an Tighearna, a ghluaiſ-
eas na ſhlighibh.

2 Oir ithidh tu toradh do làmh:
ſonadh *bithidh* tu, agus *éiridh* gu
maith dhuit.

3 *Bithidh* do bhean mar fhìonain
tharbhaich ri taobhaibh do thighe,
do chlann mar òg chroinn-olaidh mu
thimchioll do bhuird.

4 Feuch, mar ſo beannuichear an
duine, air am bi eagal an Tighear-
na.

5 Beannuichidh an Tighearn thu
a Sion, agus chi thu maith Ieruſa-
leim rè uile laithean do bheatha.

6 Seadh, chi thu clann do chloinne,
agus sìth air Iſrael.

SALM CXXIX.

Laoidh nan ceum.

IS minic a chràidh iad mi o m'òige,
abradh Iſrael a nis.

2 Is minic a chràidh iad mi o
m'òige; gidheadh cha d'thug iad
buaidh orm.

3 Air mo dhruim threabh an
luchd-treabhaidh; tharruing iad an
ſcrìoban fada.

4 *Tha* an Tighearna cothromach:
ghearr e o chéile cuird nan aingidh.

5 Cuirear gu h-amhluadh, agus
pillear air an ais iadſan uile le'm
fuathach Sion.

6 Bithidh iad mar fheur a'r mul-
lach thighean, a ſheargas mum fàs e
ſuas:

7 Leis nach lìon am buanuiche a
ghlac, no fear-ceangail nan ſguab a
bhrollach[b].

8 Ni mò their iadſan a bhios a'
dol ſeachad riu, Beannachd an Tigh-
earna gu *robh* oirbh: tha ſinn 'gar
beannachadh ann an ainm an Tigh-
earna.

SALM CXXX.

Laoidh nan ceum.

O NA doimhneachdaibh ghlaodh
mi riut, a Thighearna.

2 A Thighearn, éiſd ri m' ghuth;
thugadh do chluaſan an aire do ghuth
m'athchuingean.

3 Ma chomharaicheas tuſa ain-
gidheachd, a Thighearna; a Thigh-
earna, cò a ſheaſas.

4 Ach agadſa *tha* maitheanas;
agus uime ſin bithidh eagal *air daoin-
ibh* romhad.

5 Tha mi a' feitheamh air an
Tighearna, tha m'anam a' feith-
eamh, agus na fhocal tha mo
dhòigh.

6 Tha m'anam *a' feitheamh* air
an Tighearna ni's mò na luchd-faire
na maidne, *ſeadh*, *na* luchd-faire na
maidne.

7 Earbadh Iſrael as an Tighearna;
oir aig an Tighearna *tha* tròcair, a-
gus aige-ſan *tha* mòr ſhaorſa;

8 Agus ſaoraidh e Iſrael o 'eu-
ceartaibh gu léir.

SALM CXXXI.

Laoidh nan ceum, le Daibhidh.

A THIGHEARNA, cha 'n'eil
mo chridhe uaibhreach, no
mo ſhùilean arda; agus cha do ghabh
mi gnothuch ri nithibh mòra, no ri
nithibh arda air mo ſhon.

2 Gu deimhin ſhocraich agus
chiuinich mi m'anam, mar leanabh
a chuireadh o chìch a mhàthar; mar
leanabh a chuireadh o'n chìch *tha*
m'anamſa.

3 Earbadh Iſrael as an Tighearna,
o'n àm ſo agus gu bràth.

SALM

a *do fhear a ghràidh.* b *'uchd, 'achlais.*

SALM CXXXII.

Laoidh nan ceum.

CUIMHNICH, Thighearn, air Daibhidh, agus air 'uile àmhghar:

2 Mar a mhionnaich e do'n Tighearn, a bhòidich e do *Dhia* treun Iacoib, *ag ràdh*,

3 Gu deimhin cha dthéid mi do phàilliun mo thighe, cha dthéid mi ſuas air mo leabaidh;

4 Cha dthoir mi codal do m' ſhùilibh, no ſuain do m' roſgaibh [a],

5 Gus am faigh mi àit do'n Tighearn, ionad-còmhnuidh do *Dhia* treun Iacoib.

6 Feuch, chuala ſinn uime aig Ephrata; fhuair ſinn e ann am machairibh na coille [b].

7 Théid ſinn a ſteach d'a phàilliunaibh; ſleuchdaidh ſinn aig ſtòl a choiſe.

8 Eirich, a Thighearna, gu d' thàmh, thu féin agus àirc do neirt.

9 Sgeadaichear do ſhagairt le h-ionracas, agus deanadh do naoimh luathghaire.

10 Air ſgàth Dhaibhidh t'òglaich, na cuir air a h-ais aghaidh t'Aoin ungta.

11 Mhionnaich an Tighearna do Dhaibhidh am firinn; cha phill e uaith: Do thoradh do chuirp ſuidhichidh mi air do righ-chaithir.

12 Ma choimhideas do chlann mo choimhcheangal agus mo theiſteas, a theagaiſgeas mi dhoibh, ſuidhidh mar an ceudna an clann-ſan air do righ-chaithir gu bràth.

13 Oir ròghnuich an Tighearna Sion; mhiannuich e i mar ionad-còmhnuidh dha féin, *ag ràdh*,

14 *Is* i ſo mo ſhuaimhneas gu sìorruidh: an ſo gabhaidh mi còmhnuidh, oir mhiannuich mi i.

15 Beannuichidh mi gu mòr a lòn [c]; ſàſuichidh mi a bochdan le h-aran.

16 Eudaichidh mi a ſagairt le ſlàinte; agus ni a naoimh ard luathghaire.

17 An ſin bheir mi air adharc Dhaibhidh fàs: dh'orduich mi lòchran do m' Aon ungta.

18 Eudaichidh mi a naimhdean le nàire: ach air féin thig a choron fo [d] bhlàth.

SALM CXXXIII.

Laoidh nan ceum, le Daibhidh.

FEUCH, cia maith agus cia taitneach an ni, do bhràithribh còmhnuidh a ghabhail cuideachd ann an aonachd!

2 Mar dheadh oladh-ungaidh air a' cheann, a ruith sìos air an fheuſaig, feuſaig Aaroin, a ruith sìos air iomall a thruſgain;

3 Mar dhealt air Hermon, a thuiteas air ſléibhtibh [e] Shioin [f]: oir an ſin dh'àithn an Tighearn am beannachadh, beatha gu sìorruidh.

SALM CXXXIV.

Laoidh nan ceum.

FEUCH, beannuichibh an Tighearna, ſibhſe òglacha an Tighearna gu léir, a ſheaſas ann an tigh an Tighearna gach oidhche.

2 Togaibh bhur làmha *anns* an ionad naomha [g], agus beannuichibh an Tighearna.

3 Beannuicheadh an Tighearn thu a Sion, a rinn nèamh agus talamh.

SALM CXXXV.

MOLAIBH an Tighearna, molaibh ainm an Tighearna, molaibhſe, òglacha an Tighearna;

2 Sibhſe a ſheaſas ann an tigh an Tighearna, ann an cùirtibh tighe ar Dé.

3 Molaibh an Tighearn, oir *tha'n* Tighearna maith: ſeinnibh cliu d'a ainm, oir *tha e* taitneach.

4 Oir ròghnaich an Tighearna Iacob dha féin, Iſrael mar 'ionmhas sònruichte.

5 Oir tha fios agam gur mòr an Tighearn, agus *gu bheil* ar Tighearn os cionn nan uile dhé.

6 Ge b'e ni bu toil leis an Tighearn

a *do fhàbhraidhibh mo ſhùl.* b *Iaar.* Eabh. c *teachd-an-tìr.* d *fuidh.* e *ſliabh.* f *Shihoin.* Faic Deut. Caib. IV. r. 48. g *le naomhachd.*

earn rinn e air nèamh agus air talamh, anns na cuantaibh, agus anns na doimhneachdaibh uile.

7 *Is* eſan a bheir air a' cheò dol ſuas o chrìch na talmhainn; a ni dealanach le h-uiſge; a bheir a mach a' ghaoth as 'ionadaibh-taſgaidh;

8 A bhuail ceud-ghin na h-Eiphit, araon duine agus ainmhidh;

9 *A* chuir comharan agus iongantaſan ann ad mheadhon, O Eiphit, air Pharaoh agus air 'òglachaibh gu léir;

10 A bhuail cinnich mhòra, agus a mharbh righre mòra,

11 Sihon righ nan Amorach, agus Og righ Bhaſain, agus uile rioghachda Chanaain,

12 Agus a thug am fearann mar oighreachd, mar oighreachd do Iſrael a ſhluagh.

13 *Mairidh* t'ainmſa, a Thighearna, gu bràth; do chuimhne, a Thighearna, o linn gu linn.

14 Oir bheir an Tighearna breth air a ſhluagh, agus gabhaidh e aithreachas a thaobh a ſheirbhiſeach.

15 *Is* airgiod agus òr ìodhoil [a] nan cinneach, obair làmha dhaoine.

16 Tha beul aca, ach cha labhair iad; sùilean aca, ach cha'n fhaic iad.

17 Tha cluaſan aca, ach cha chluinn iad: ni mò a tha anail nam beul.

18 Coſmhuil riu féin tha iadſan a ni iad, gach neach a dh'earbas aſda.

19 A' thigh Iſraeil, beannuichibh an Tighearn; a thigh Aaroin, beannuichibh an Tighearn.

20 A thigh Lebhi, beannuichibh an Tighearn: ſibhſe air am bheil eagal an Tighearna, beannuichibh an Tighearn.

21 Beannuichte gu robh an Tighearn as Sion, aig am bheil a chòmhnuidh ann an Ieruſalem. Molaibhſe an Tighearn.

SALM CXXXVI.

O THUGAIBH buidheachas do'n Tighearn, oir *tha* e maith; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

2 Thugaibh buidheachas do Dhia nan dia; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

3 Thugaibh buidheachas do Thighearna nan tighearna; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

4 Dha-ſan na aonar a ni iongantaſan mòra; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

5 Dha-ſan a rinn na nèamha le gliocas; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

6 Dha-ſan a ſhìn an talamh os cionn nan uiſge; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

7 Dha-ſan a rinn ſoluis mhòra; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

8 A' ghrian a riaghladh an latha [b]; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

9 A' ghealach agus na reultan a riaghladh na h-oidhche; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

10 Dha-ſan a bhuail na h-Eiphitich [c] nan ceud-ghinibh; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

11 Agus a thug a mach Iſrael as am meadhon; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

12 Le làimh thréin, agus le gairdean sìnte mach; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

13 Dha-ſan a roinn a' mhuir ruadh na roinnibh [d]; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

14 Agus a thug air Iſrael dol trìd a mheadhoin; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

15 Ach a thilg Pharaoh agus 'armailt bun os cionn anns a' mhuir ruaidh; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

16 Dha-ſan a threòraich a ſhluagh trìd an fhàſaich: oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

17 Dha-ſan a bhuail righre mòra; oir gu bràth *mairidh* a thròcair:

18 Agus a mharbh righre treuna; oir gu bràth *mairidh* a thròcair:

19 Sihon

a *dealbha.* b *ſan latha.* c *an Eiphit.* d *na h-earranaibh.*

19 Sihon rìgh nan Amorach; oir gu bràth *mairidh* a thròcair:

20 Agus Og rìgh Bhaſain; oir gu bràth *mairidh* a thròcair:

21 Agus a thug am fearann mar oighreachd; oir gu bràth *mairidh* a thròcair:

22 Mar oighreachd do Iſrael 'òglach féin; oir gu bràth *mairidh* a thròcair:

23 A chuimhnich oirnn nar ſtaid ìoſail; oir gu bràth *mairidh* a thròcair:

24 Agus a ſhaor ſinn o ar naimhdibh; oir gu bràth *mairidh* a thròcair:

25 A tha tabhairt bìdh do gach feoil; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

26 O thugaibh buidheachas do Dhia nan nèamh; oir gu bràth *mairidh* a thròcair.

SALM CXXXVII.

LAIMH ri aibhnichibh Bhabiloin, an ſin ſhuidh, agus ghuil ſinn, an uair a chuimhnich ſinn air Sion.

2 Air na crannaibh ſeilich na meadhon chroch ſinn ar clàrſaichean.

3 Oir an ſin dh'iarr iadſan a thug am braighdeanas ſinn, òran oirnn; agus *dh'iarr* iadſan a rinn fògaraich dhinn[a] aoibhneas oirnn, *ag ràdh*, Seinnibh dhuinn *aon* do laoidhibh Shioin.

4 Cionnus a ſheinneas ſinne laoidh an Tighearna ann an tìr choimhich?

5 Ma dhi-chuimhnicheas miſe thuſa, a Ieruſalem, di-chuimhnicheadh mo làmh dheas *a ſeòltachd*.

6 Leanadh mo theanga ri m' ghial[b], mur cuimhnich mi ort, mur fearr leam Ieruſalem na m'aoibhneas a's airde.

7 Cuimhnich, a Thighearna, clann Edoim, ann an latha Ieruſaleim, a thubhairt, Leagaibh, leagaibh[c] sìos *i* gu ruig a bunait.

8 A nighean Bhabiloin, a lomſgrioſar[d], *is* ſona *eſan* a dhìolas dhuitſe, a réir mar a rinn thu oirnne.

9 *Is* ſona eſan a ghlacas agus a phronnas do chlann bheag ris na clachaibh.

SALM CXXXVIII.

Salm le Daibhidh.

MOLAIDH mi thu, a Thighearna, le m'uile chridhe; an làthair nan dé ſeinnidh mi cliu dhuit.

2 Sleuchdaidh mi aig do theampull[e] naomha, agus molaidh mi t'ainm air ſon do chaoimhneis gràidh, agus air ſon t'fhìrinne; oir dh'ardaich thu t'fhocal os cionn t'ainme uile.

3 San là air an do ghlaodh mi *riut*, fhreagair thu mi; neartaich thu mi a'm' anam le treoir.

4 Molaidh uile righre na talmhainn thu, a Thighearna, 'nuair a chluinneas iad briathra do bheoil:

5 Agus ſeinnidh iad ann an ſlighibh an Tighearna; oir *is* mòr glòir an Tighearna.

6 Ge h-ard an Tighearna, gidheadh ſeallaidh e air an irioſal; ach aithnichidh e an t'uaibhreach fad as.

7 Ge do ghluais mi ann am meadhon àmhghair[f], ath-bheothaichidh tu mi; an aghaidh corruich mo naimhde sìnidh tu do làmh, agus ſaoraidh do dheas làmh mi.

8 Coimhlionaidh an Tighearn air mo ſhon; *mairidh* do thròcair, a Thighearna, gu bràth: na tréig oibre do làmh.

SALM CXXXIX.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm le Daibhidh.

A THIGHEARNA, rannſaich[g] thu mi, agus is aithne dhuit mi.

2 Is aithne dhuit mo ſhuidhe agus m'éirigh; tuigidh tu mo ſmuainte fad as.

3 Chuairtich thu mo cheum agus mo luidhe sìos, agus air mo ſhlighibh gu léir is fioſrach thu.

4 Oir feuch, cha *'n'eil* focal air mo theangaidh, a Thighearna, nach aithne dhuit gu léir.

a *a chreach, a chlaoidh ſinn.* b *chàirean.* c *Rùiſgibh, rùiſgibh.*
d *dh'fhàſaichear.* e *a làimh do theampuill.* f *teinn, trioblaid.*
g *dh'fhidir.*

5 Am dhéigh, agus romham,
chuairtich thu mi [a], agus chuir thu
do làmh orm.
6 *Is* ro-iongantach an t-eòlas *ſo*
air mo ſhon: tha e ard; cha ruig mi
air.
7 C'àit an dthéid mi o d' ſpiorad?
agus c'àit an teich mi o d' ghnùis [b]?
8 Ma théid mi ſuas do nèamh, *tha*
thu 'n ſin; ma ni mi mo leabadh
ann an ifrinn [c], feuch, *tha* thu'*n ſin*.
9 *Ma* ghabhas mi ſgiatha na
maidne, agus gu còmhnuich mi ann
an ionadaibh iomallach na fairge;
10 Eadhon an ſin ſtiùraidh do làmh
mi, agus cumaidh do dheas làmh mi.
11 Ma their mi, Gu deimhin fol-
aichidh an dorchadas mi, bithidh an
oidhche féin mar ſholus mu'n cuairt
orm.
12 Cha'n fholaich eadhon an dorch-
adas uaitſe, ach dealraichidh an
oidhche mar an latha: *is* ionann an
dorchadas agus an ſolus duitſe.
13 Oir ghabh thu ſealbh air m'air-
nibh: dh'fholuich thu mi ann am
broinn mo mhàthar.
14 Molaidh mi thu, oir is uamhaſ-
ach, iongantach a dhealbhadh mi;
is iongantach t'oibre-ſa, agus *is* ro-
fhioſrach m'anam air *ſin*.
15 Cha d'fholaicheadh mo chorp [d]
uait an uair a rinneadh mi an dìo-
mhaireachd, a dhealbhadh mi gu
h-iongantach ann an ionadaibh ìochd-
arach na talmhainn.
16 Chunnaic do ſhùilean mo
cheud-fhàs an-abuich, agus ann ad
leabhar ſcrìobhadh sìos *mo bhuill*
uile, *a* dhealbhadh ri h-ùine, gun
aon diubh *fathaſt* ann.
17 O cia luachmhor leamſa do
ſmuainte-ſa, a Dhé? cia mòr an
ùibhir [e]?
18 Nan àirmhinn iad, ſ is lìonmhoire
iad na a' ghaineamh: 'nuair a dhùiſg-
eas mi, tha mi a ghnàth maille riutſa.
19 Gu cinnteach, a Dhé, marbh-
aidh tuſa an t-aingidh: uime ſin, a
dhaoine fuileachdach, imichibh uam:
20 Oir labhair iad a't' aghaidh gu
h-aingidh; thug do naimhde *t'ainm*
an dìomhanas.
21 Nach 'eil mi tabhairt fuath, a
Thighearna, dhoibhſan a tha toirt
fuath dhuitſe? agus nach 'eil mi
gabhail gràin dhiubhſan a tha 'g éir-
igh ſuas a't' aghaidh?
22 Le fuath iomlan tha mi toirt
fuath dhoibh; mar naimhde meaſam
iad [f].
23 Rannſuich mi, a Dhé, agus
aithnich mo chridhe: dearbh mi, a-
gus tuig mo ſmuainte.
24 Agus amhairc am *bheil* ſlighe
olc air bith annam, agus treòruich
mi anns an t-ſlighe ſhìorruidh.

SALM CXL.

Do'n ard fhear-ciuil. Salm le
Daibhidh.

TEASAIRG mi a Thighearn, o'n
droch dhuine: o fhear na
foireigne gléidh mi;
2 A tha ſmuaineachadh aimhleis
nan cridhe; cruinnichidh iad gach
là [g] *chum* cogaidh.
3 Gheuraich iad an teanga, mar
theangaidh nathrach; *tha* nimh na
nathrach fo'm bilibh. Selah.
4 Gléidh mi, a Thighearn, o làmh-
aibh nan aingidh, o fhear an ſhoir-
neirt dìon mi, le'm b'àill mo cheum-
anna thilgeadh bun os cionn.
5 Dh'fholuich na h-uaibhrich ribe
dhomh, agus cuird; ſgaoil iad lìon
ri taobh na ſlighe; leag iad ceapa-
tuiſlidh dhomh. Selah.
6 Thubhairt mi ris an Tighearn,
Is tu mo Dhia: éiſd, a Thighearna,
ri guth m'athchuingean.
7 A Iehobhah, a Thighearna,
neart mo ſhlàinte; dh'fholuich thu
mo cheann ann an latha catha.
8 Na deònuich, a Thighearna,
miannan an aingidh, na ſoirbhich le
'ais-innleachd, air eagal gu'n ardaich
ſiad iad féin. Selah.
9 A thaobh nan daoine a chuairt-
ich mi, còmhdaicheadh [h] aimhleas
am bilean féin iad.
10 Tuiteadh eibhlean teine orra,
ſan

a *dhealbh thu mi.* b *fhianuis, làthaireachd.* c *anns an ionad a's ìochdaraiche, anns an uaigh.* d *neart.* e *an cunntas ceann, an àireamh.* f *tha iad agam.* Eabh. g *a ghnàth.* h *còmhdaichidh.*

ſan teine tilgear iad; ann an ſlochd-
aibh domhain, chum nach éirich iad
a rìs.

11 Na daingnichear fear-labhairt
uilc air an talamh: ſealgaidh olc air
fear an fhoirneirt, chum *a* ſgrios.

12 Tha fhios agam gu'n cum an
Tighearna ceartas ris an duine
thruagh, còir ris na bochdaibh.

13 Gu dearbh bheir na fireana
moladh do t'ainm: gabhaidh na
h-ionracain còmhnuidh a't' fhianuis.

SALM CXLI.

Salm le Daibhidh.

A THIGHEARNA, tha mi ag
éigheach riut, greas a m' ionn-
ſuidh; éiſd ri m' ghuth, 'nuair a
dh'éigheas mi riut.

2 Cuirear m'ùrnuigh a'd' làthair,
mar thùis; togail ſuas mo làmh, *mar*
an ìobairt fheaſgair.

3 Cuir, a Thighearna, faire air mo
bheul; gléidh dorus mo bhilean.

4 Na aom mo chridhe gu ni olc
air bith, gu bearta aingidh a chur an
gnìomh le luchd-deanamh na h-eu-
ceirt: agus na h-itheam féin d'an
nithibh milſe.

5 Buaileadh am firean mi, *is*
caoimhneas e; agus cronaicheadh e
mi, *is* oladh luachmhor e, nach bris mo
cheann: oir fathaſt *bithidh* m'ùr-
nuigh mar an ceudna *air an ſon* nan
àmhghairibh.

6 'Nuair a thilgear sìos am breith-
eamhna ann an ionadaibh clachach,
éiſdidh iad ri m' bhriathraibh, oir tha
iad milis.

7 Mar a ghearras agus a ſgoilteas
neach *fiodh* air an làr, ſgaoileadh ar
cnàmhan aig beul na h-uaighe.

8 Ach a t' ionnſuidh-ſa, a Ieho-
bhah, a Thighearna, *tha* mo ſhùil-
ean: annadſa chuir mi mo dhòigh;
na tréig m'anam [a].

9 Coimhid mi o'n ribe *a* leag iad
dhomh, agus o cheapaibh-tuiſlidh
luchd-deanamh na h-euceirt.

10 Tuiteadh na h-aingidh nan
lìontaibh féin, am feadh a bhios miſe
a' gabhail thairis.

SALM CXLII.

Maſchil le Daibhidh. Urnuigh
'nuair a bha e anns an uaimh.

LE M' ghuth ghlaodh mi ris an
Tighearna; le m' ghuth dh'aſ-
luich mi air an Tighearna.

2 Thaom mi mo ghearan na làth-
air; chuir mi 'n céill mo theinn na
fhianuis.

3 'Nuair a chlaoidheadh mo ſpio-
rad annam, b'aithne dhuitſe mo
cheum: ſan t-ſlighe air an d'imich
mi, dh'fholuich iad ribe dhomh.

4 Dh'amhairc mi air *mo* làimh
dheis, agus feuch, cha *robh* fear ann
d'an b'aithne mi; thréig cabhair mi;
cha robh neach ann a dh'fheòraich-
eadh air ſon m'anama.

5 Ghlaodh mi riut, a Thighearna;
thubhairt mi, *Is* tu mo thearmunn [b],
mo chuibhrionn ann an tìr nam beo.

6 Thoir an aire do m' ghlaodh,
oir dh'ìſlicheadh mi gu mòr; ſaor mi
uathaſan a tha'n tòir orm, oir is treiſe
iad na mi.

7 Thoir m'anam a prìoſun, chum
gu mol mi t'ainm: cuairtichidh na
fireana mi, oir buinidh tu gu fial
rium.

SALM CXLIII.

Salm le Daibhidh.

CLUINN m'ùrnuigh, a Thigh-
earn; éiſd ri m'athchuingibh
ann a t'fhìrinn, freagair mi ann ad
cheartas.

2 Agus na dthig ann am breith-
eanas le t'òglach; oir ann a t'fhian-
uis cha'n fhìreanaichear duine beo
air bith.

3 Oir gheur-lean an nàmhaid m'an-
am, bhuail e mo bheatha sìos gu làr;
thug e orm còmhnuidh ghabhail ann
an dorchadas, mar iadſan a bha fada
marbh.

4 Uime ſin chlaoidheadh mo ſpio-
rad annam; tha mo chridhe briſte
an taobh a ſtigh dhìom.

5 Is cuimhne leam na laithean o
chian, tha do ghnìomhara gu léir
a'teachd a'm' aire; tha mi a' beachd-
ſmuaineachadh air obair do làmh.

6 Shìn mi mo làmhan riutſa: *tha*
m'anam,

a *na dean m'anam falamh, lòm.*

b *mo dhìdean, mo dhòchas.*

m'anam, mar thalamh tartmhor [a] *an geall* ort. Selah.
7 Eisd rium gu grad, a Thighear-
na; chaidh as do m' spiorad: na fol-
aich do ghnùis orm, air eagal gu'm
bi mi cosmhuil riu-san a théid sìos
do'n t-slochd.
8 Thoir orm do chaoimhneas-
gràidh a chluinntinn anns a' mhad-
uinn, oir annadsa chuir mi mo dhòigh:
thoir orm gu'n aithnich mi an t-slighe
anns an còir dhomh imeachd, oir riut-
sa tha mi togail suas m'anama.
9 Teasairg mi o m' naimhdibh, a
Thighearna: a t'ionnsuidh-sa teich-
idh mi [b].
10 Teagaisg dhomh do thoil a
dheanamh, oir *is* tu mo Dhia: treòr-
aicheadh do spiorad maith mi gu tìr
an ionracais.
11 Air sgàth t'ainme, a Thighear-
na, beothaich thusa mi: trìd t'fhìr-
eantachd saor m'anam o theinn.
12 Agus trìd do thròcair gearr as
mo naimhdean, agus sgrios iadsan
uile a tha claoidh m'anama; oir *is*
mi t'òglach.

SALM CXLIV.

Salm le Daibhidh.

BEANNUICHTE gu *robh* an
Tighearna mo charraig [c], a
theagaisgeas mo làmha gu cath, mo
mheoir gu comhrag:
2 Mo mhaith, agus mo dhaing-
neach, mo thùr ard, agus m'fhear-
saoraidh-sa, mo sgiath, agus an ti as
an earb mi; a cheannsaicheas mo
shluagh [d] fodham.
3 A Thighearna, ciod e an duine,
gu bheil thu a' gabhail eòlais air?
mac an duine, gu bheil meas agad
air?
4 Is cosmhuil an duine ri dìo-
mhanas: *tha* a laithean mar sgàile a
ghabhas seachad.
5 A Thighearna, lùb do fhlaith-
eas, agus thig a nuas: bean ris na
beanntaibh, agus bithidh deatach
dhiubh.
6 Cuir a mach dealanach, agus
sgaoil iad; tilg do shaighdean, agus
claoidh iad.
7 Sìn uait do làmh o'n airde, saor
mi, agus teasairg mi o uisgibh mòra,
a làimh cloinne choigreach;
8 Aig am bheil am beul a' labh-
airt dìomhanais, agus *is* i'n deas
làmh deas làmh na bréige.
9 A Dhé, seinnidh mi dhuit òran
nuadh; air an t-saltair, *air* inneal-
ciuil nan deich teud, seinnidh mi
moladh dhuit.
10 *Is* esan a bheir buaidh [e] do righ-
ribh, a shaoras Daibhidh, 'òglach féin,
o'n chlaidheamh mhillteach.
11 Saor mi, agus teasairg mi o
làimh cloinne choigreach, aig am bheil
am beul a' labhairt dìomhanais, agus
is i'n deas làmh deas làmh na bréige:
12 Chum gu'*m bi* ar mic mar ùr
chroinn a' fàs suas nan òige, ar nigh-
eana mar chlachaibh oisinne, snàidh-
te *a réir* cosamhlachda lùchairte.
13 Chum gu'*m bi* ar saibhlean
làn, a' toirt uatha do gach *gnè* thor-
aidh, ar caoraich a' breth nam mìlt-
ean, seadh deich mìltean nar mach-
airibh [f];
14 Gu'*m bi* ar daimh làidir gu
h-obair; nach *bi* briseadh steach ann,
no dol a mach; agus nach *bi* gearan
nar sràidibh.
15 *Is* sona an sluagh, a tha san
staid [g] so: *is* sona an sluagh, d'an
Dia an Tighearna.

SALM CXLV.

Laoidh-mholaidh le Daibhidh.

ARDAICHIDH mi thu, mo
Dhia, mo Righ; agus bean-
nuichidh mi t'ainm gu saoghal nan
saoghal.
2 Gach là beannuichidh mi thu,
agus molaidh mi t'ainm gu saoghal
nan saoghal.
3 *Is* mòr an Tighearn, agus *is* ro-
airidh e air moladh, agus cha'n fheud-
ar a mhòrachd a rannsachadh.
4 Molaidh àl do àl do ghnìomh-
ara, agus cuiridh iad an céill t'oibre
cumhachdacha.
5 Air urram glòire do mhòrachd
agus air t'oibribh iongantach labh-
raidh

a *ann an tìr thartmhoir.* b *teichidh mi gu m'fholach.* c *mo neart.* d *na slòigh.* e *slàinte.* f *sràidibh.* g *inbhe, chor.*

raidh mi [a].

6 Agus labhraidh *daoine* [b] air neart do bhearta uamhaſach; agus aithriſidh miſe [c] do mhòrachd.

7 Cuiridh iad an céill gu pailt cuimhne do mhaitheis mhòir, agus ard-mholaidh iad t'fhìreantachd.

8 *Is* gràſmhor agus truacanta an Tighearna; mall chum feirge, agus pailt ann an tròcair.

9 *Is* maith an Tighearna do na h-uile, agus *tha* a chaomh thròcairean os cionn 'oibre uile.

10 Molaidh t'oibre gu léir thu, a Thighearna; agus beannuichidh do naoimh thu.

11 Air glòir do rioghachd labhraidh iad, agus cuiridh iad an céill do chumhachd:

12 Chum a [d] bhearta iongantach a dheanamh aithnichte do chloinn nan daoine, agus glòir mòralachd a [e] rioghachd.

13 *Is* rioghachd ſhìorruidh do rioghachdſa; agus *mairidh* t'uachdaranachd air feadh nan uile ghinealach.

14 [Tha an Tighearna fìrinneach na uile bhriathraibh, agus naomha na uile ghnìomharaibh.]

15 Cumaidh an Tighearna ſuas iadſan uile a tha tuiteam, agus togaidh e 'n aird iadſan uile a tha air cromadh sìos.

16 Tha sùilean nan uile a' feitheamh ort, agus bheir thu dhoibh am biadh na thràth.

17 Tha thu foſgladh do làimh, agus a' sàſuchadh miann gach ni beo.

18 *Tha*'n Tighearna ceart na uile ſhlighibh, agus naomha na uile ghnìomharaibh.

19 *Is* dlùth an Tighearna dhoibhſan uile a ghairmeas air, dhoibhſan uile a ghairmeas air am fìrinn.

20 Coimhlionaidh e miann na droinge d'an eagal e; agus éiſdidh e r'an glaodh, agus ſaoraidh ſe iad.

21 Gleidhidh an Tighearn iadſan uile a ghràdhaicheas e; ach ſgrioſaidh e na h-aingidh gu léir.

22 Air cliu an Tighearna labhraidh mo bheul: agus beannuichidh gach feoil 'ainm naomha-ſan gu ſaoghal nan ſaoghal.

SALM CXLVI.

MOLAIBHSE an Tighearna: mol an Tighearn, O m'anam.

2 Molaidh mi an Tighearn an cian is beo mi [f]; ſeinnidh mi cliu do m' Dhia, am feadh a bhios bith agam.

3 Na h-earbaibh a h-uachdaranaibh [g], a mac duine ſam bith, anns nach '*eil* furtachd.

4 Théid 'anail as, pillidh e g'a ùir: ſan là ſin féin théid as d'a ſmuaintibh.

5 *Is* ſona an ti aig *am bheil* Dia Iacoib mar a chabhair, aig *am bheil* a dhòchas anns an Tighearn a Dhia,

6 A rinn nèamh agus talamh, a'mhuir agus gach ni a *ta* annta; a ghleidheas fìrinn gu bràth;

7 A chumas còir riu-ſan a tha fo fhoirneart, a bheir biadh do na h-ocraich. Cuiridh an Tighearna na prìoſunaich fa ſgaoil.

8 Foſglaidh an Tighearna *sùilean* nan dall; togaidh an Tighearna ſuas iadſan a tha air an cromadh sìos: is ionmhuinn leis an Tighearna na fìreana.

9 Gleidhidh an Tighearna na coigrich; togaidh e ſuas an dìlleachdan agus a' bhantrach: ach tilgidh e ſlighe nan aingidh bun os cionn.

10 Rìoghaichidh an Tighearna gu bràth, do Dhia-ſa, a Shion, o linn gu linn. Molaibhſe an Tighearna.

SALM CXLVII.

MOLAIBHSE an Tighearn; oir *is* maith an ni a bhi tabhairt cliu d'ar Dia, oir *a ta e* taitneach, *agus a ta* moladh ciatfach.

2 Togaidh an Tighearna ſuas Ieruſalem; cruinnichidh e ri chéile dìobaraich Iſraeil.

3 Leighiſidh e iadſan aig am bheil cridhe briſte, agus ceanglaidh e ſuas an leònta [h].

4 Innſidh

a *Air urram glòire do mhòrachd labhraidh iad, agus air t'oibribh iongantach beachd-ſmuainichidh iad.* b *iad.* c *iad.* d *do.* e *do.* f *rè mo bheatha.* g *daoinibh mòra, uaiſle.* h *doilgheaſan.*

4 Innſidh [a] e àireamh nan rionnag; bheir e ainmean orra uile.

5 *Is* mòr ar Tighearn, agus *is* mòr chumhachd: *tha* a thuigſe gun tomhas.

6 Togaidh an Tighearna ſuas na daoine ciuin [b], tilgidh e sìos na h-aingidh gu làr.

7 Seinnibh do'n Tighearna le buidheachas; ſeinnibh moladh d'ar Dia-ne air a' chlàrſaich:

8 A dh'fholaicheas [c] nèamh le neulaibh, a dh'ulluicheas uiſge do'n talamh, a bheir air ſeur fàs air na ſléibhtibh.

9 Bheir eſan a bhiadh do'n ainmhidh, do na fithich òga a ghoireas [d].

10 Ann an neart an eich cha bhi a dhùil; ann an coſaibh fir cha ghabh e tlachd.

11 Gabhaidh an Tighearna tlachd annta-ſan d'an eagal e, a chuireas an dòigh na thròcair.

12 Mol an Tighearn, a Ieruſalem; mol do Dhia, a Shion:

13 Oir neartaich e croinn do gheatacha, bheannuich e do chlann an taobh a ſtigh dhìot.

14 Ni e sìth a'd' chrìochaibh; sàſuichidh e thu le ſmior a' chruineachd.

15 Cuiridh e mach 'àithne *air* thalamh; gu luath ruithidh 'fhocal.

16 Bheir e ſneachda mar olainn; ſgaoilidh e an liath-reodh mar luaithre.

17 Tilgidh e mach 'eigh [e] mar ghreamanna; cò dh'fheudas ſeaſamh fa chomhair 'fhuachda?

18 Cuiridh e mach 'fhocal, agus leaghaidh e iad; ſéididh a ghaoth, ſruthaidh na h-uiſgeacha.

19 Foillſichidh e 'fhocal do Iacob, a reachdan agus a bhreitheanais do Iſrael.

20 Cha do bhuin e mar ſo ri cinneach ſam bith, cha mhò a b'aithne dhoibh *a* bhreitheanais. Molaibhſe an Tighearna.

SALM CXLVIII.

MOLAIBHSE an Tighearna. Molaibh an Tighearn o na neamhaibh; molaibh e anns na h-ardaibh.

2 Molaibh e, 'aingle uile; molaibh e, a ſhlòigh uile.

3 Molaibh e, a ghrian agus a ghealach; molaibh e, uile reulta ſoluis.

4 Molaibh e, a nèamha nan nèamh, agus uiſgeacha a *tha* os cionn nan nèamh.

5 Moladh iad ainm an Tighearna; oir dh'àithn e, agus chruthaicheadh iad.

6 Agus dhaingnich e iad gu ſaoghal nan ſaoghal; rinn e àithne, nach dthéid thairis [f].

7 Molaibh an Tighearn o'n talamh, a dhràgona, agus a dhoimhneachdan uile.

8 Teine [g] agus clach-ſhneachd, ſneachda agus ceò, gaoth dhoinionnach a' coimh-lionadh 'fhocail,

9 Na beannta agus na cnuic uile, craobhan-meas [h] agus na h-uile ſheudair [i],

10 *Fiadh*-bheathaiche, agus gach uile ainmhidh, nithe ſnàigeach, agus eunlaith iteagach [j],

11 Righre na talmhainn agus na h-uile ſhlòigh, uachdarana agus uile bhreitheamhna na talmhainn.

12 Araon òig-fhir agus òighean, ſeann daoine agus clann [k];

13 Moladh iad ſin ainm an Tighearna: oir a ta 'ainm-ſan a mhàin urramach [l], *tha* a ghlòir os cionn na talmhainn agus nan nèamh.

14 Agus dh'ardaich e adharc a ſhluaigh, moladh a naomh uile, *eadhon* chloinn Iſraeil, ſluaigh a ta'm fagus da. Molaibhſe an Tighearna.

SALM CXLIX.

MOLAIBHSE an Tighearna. Seinnibh do'n Tighearn òran nuadh, *ſeinnibh* a mholadh ann an coimhthional nan naomh.

2 Biodh Iſrael aoibhneach na Chruith-fhear: deanadh clann Shioin gairdeachas nan Righ.

a *Ainmhidh*. b *macanta*. c *chòmhdaicheas*. d *ghlaodhas*. e *leac-oighre*. f *nach briſear*. g *tein'-athair*. h *craobhan-toraidh*. i *cheudair*. j *ſgiathach, ſgiathanach*. k *òganaich*. l *air 'ardachadh*.

3 Moladh iad 'ainm anns an dannſ-
adh: le tiompan agus le clàrſaich
ſeinneadh iad dha.

4 Oir gabhaidh an Tighearna
tlachd na ſhluagh: ni e na daoine
sèimh ſgiamhach le ſlàinte.

5 Deanadh na naoimh gairdeachas
ann an glòir: deanadh iad iolach [a]
air an leapaichibh.

6 *Biodh* ard chliu Dhé nam beul,
agus claidheamh dà fhaobhair nan
làimh,

7 A chum dìoghaltas a dheanamh
air na cinnich, ſmachdachadh goirt [b]
air na ſlòigh;

8 A chum an righrean a cheangal
le ſlabhraidhibh, agus an ard uaiſlean
le geimhlibh iaruinn;

9 A chum am breitheanas a chur
an gnìomh orra, a tha ſcrìobhta:
tha'n t-urram ſo aig a naoimh uile.
Molaibhſe an Tighearna.

SALM CL.

MOLAIBHSE an Tighearna.
Molaibh Dia na ionad naomha;
molaibh e ann an ſpeuraibh [c] a chumh-
achda.

2 Molaibh e air ſon a ghnìomhara
treuna; molaibh e a réir airde a
mhòrachd.

3 Molaibh e le fuaim trompaide;
molaibh e le ſaltair, agus le clàrſaich.

4 Molaibh e le tiompan agus
dannſadh; molaibh e le innealaibh-
ciuil nan teud, agus le organ.

5 Molaibh e le ciombalaibh fonn-
mhor; molaibh e le ciombalaibh ard-
fhuaimneach.

6 Moladh gach ni anns am bheil
anail an Tighearna. Molaibhſe an
Tighearna.

a *ard-ſheinneadh iad.* b *peanas.* c *athar, iormoilt.*

GNATH-FHOCAIL.

CAIB. I.

GNATH-FHOCAIL Sholaimh, mhic Dhaibhidh, righ Ifraeil;

2 A dh'aithneachadh gliocais agus teagaifg, a thuigfinn bhriathar na tuigfe;

3 A' ghabhail teagaifg a' ghliocais, a' cheartais, agus a' bhreitheantais, agus na còrach;

4 A thoirt géire dhoibhfan a ta baoghalta [a], eòlais agus céill [b] do'n òganach.

5 Eifdidh duine glic, agus meudaichidh e fòghlum, agus fealbhaichidh duine tuigfeach comhairlean glice:

6 A thuigfinn gnàth-fhocail, agus eadar-mhìneachaidh; fhocal nan daoine glice, agus am briathar dorcha.

7 *Is* e eagal an Tighearna tùs an eòlais: air gliocas agus teagafg ni amadain tàir.

8 A mhic, éifd thufa ri teagafg t'athar, agus na tréig lagh do mhàthar:

9 Oir nan coron maife *bithidh* iad do d' cheann, agus nan flabhruidhibh do d' mhuineal.

10 A mhic, ma thàlaidheas [c] peacaich thu, na aontaich thufa leo.

11 Ma their iad, Thig leinne, deanamaid feall-fheitheamh [d] air fuil, luidheamaid am folach air fon an neo-chiontaich gun aobhar:

12 Mar an uaigh fluigeamaid fuas beo iad, agus iomlan mar iadfan a theid sìos do'n t-flochd.

13 Gheibh finn gach uile mhaoin luachmhor, lìonaidh finn ar tighean le creich [e].

14 Tilg a fteach do chrannchur nar meafgne; bithidh aon fporan againn uile.

15 A mhic, na h-imich thufa fan t-flighe maille riu; cum air a h-ais do chos o'n ceum:

16 Oir tha'n cofan a' ruith a chum uile, agus a' deanamh deifir a dhortadh fola.

17 Gu deimhin is dìomhain an lìon a fgaoileadh an fealladh eoin air bith.

18 Agus tha iad ri feall-fholach [f] an aghaidh am fola féin, tha iad a' luidhe an uaigneas an aghaidh an anama *féin*.

19 Mar fin *tha* flighean gach neach a ta fanntach air buannachd: anam a fealbhadairean bheir i air falbh.

20 Tha gliocas ag éigheach a muigh, anns na fràidibh tha i a' cur a mach a gutha;

21 Ann an àitibh sònraichte a' chomh-chruinneachaidh tha i ag éigheach, ann am fofgladh nan geata: anns a' bhaile tha i a' cur a mach a briathra,

22 Cia fhad, a dhaoine baoghalta, a ghràdhaicheas fibh baoghaltachd? agus a ghabhas luchd-fochaid tlachd nam fochaid, agus a bheir amadain fuath do eòlas?

23 Pillibh ri m' achmhafan: feuch, dòirtidh mi mach mo fpiorad dhuibh [g]; ni mi aithnichte mo bhriathra duibh.

24 A chionn gu'n do ghairm mi, agus gu'n do dhiùlt fibhfe, gu'n do flìn mi mach mo làmh, agus nach d'thug duine fam bith an aire;

25 Ach gu'n do chuir fibh an neo-brigh m'uile chomhairle, agus nach b'àill

a *aon-fhillte, neo gheur.* b *eagnaidheachd, deadh chombairle.* c *bhreugas, mhealtas.* d *plaid-luidhe.* e *fpùinne.* f *plaid-luidhe.* g *oirbh.*

b'àill leibh a bheag do m' achmhaſan ;

26 Ni miſe mar an ceudna gàire ri'r ſgrios-ſa ; ni mi fanoid 'nuair a thig bhur n-eagal ;

27 'Nuair a thig bhur n-eagal mar fhàſachadh, agus a thig bhur léir-ſgrios oirbh mar iomghaoith ; 'nuair a thig teinn[a] agus cràdh-cridhe oirbh.

28 An ſin gairmidh iad ormſa, ach cha fhreagair mi ; iarraidh iad mi gu moch, ach cha'n fhaigh iad mi ;

29 A chionn gu'n d'fhuathaich iad eòlas, agus nach do ròghnuich iad eagal an Tighearna.

30 Cha b'àill leo bheag do m' chomhairle[b], rinn iad tàir air m'achmhaſan uile.

31 Uime ſin ithidh iad do thoradh an ſlighe féin, agus lìonar iad le'n innleachdaibh féin.

32 Oir marbhaidh claonadh nan daoine baoghalta iad, agus ſgriosaidh ſoirbheas[c] nan amadan iad féin.

33 Ach ge b'e dh'éiſdeas riumſa, gabhaidh e còmhnuidh an tèaruinteachd, agus bithidh e ſaor[d] o eagal uilc.

CAIB. II.

A MHIC, ma ghabhas tu mo bhriathra-ſa, agus ma dh'fholuicheas tu m'àitheanta maille riut ;

2 Air chor as gu'n aom thu do chluas ri gliocas, gu'n leag thu do chridhe air tuigſe :

3 Seadh, ri eòlas ma dh'éigheas tu, ri tuigſe ma thogas tu ſuas do ghuth ;

4 Ma dh'iarras tu i mar airgiod, agus ma rannſaicheas tu air a ſon, mar air ſon ionmhaſan ſolaichte ;

5 An ſin tuigidh tu eagal an Tighearna, agus gheibh thu eòlas Dé :

6 Oir bheir an Tighearna gliocas ; as a bheul *thig* eòlas agus tuigſe.

7 Tha e taſgaidh ſuas gliocais fhallain air ſon nam firean : *is* ſgiath e dhoibhſan a ghluaiſeas gu h-ionraic.

8 *Tha* e a' coimhead ceumanna a' bhreitheanais, agus a dìonadh ſlighe a naomh.

9 An ſin tuigidh tu fireantachd, agus breitheanas, agus ceartas, *seadh*, gach uile dheadh ſhlighe.

10 'Nuair a théid gliocas a ſteach ann do chridhe, agus a bhios eòlas taitneach dod' anam ;

11 Ni ciall do dhìonadh, coimhididh tuigſe thu :

12 Gu d' ſhaoradh[e] o ſhlighe an droch dhuine ; o'n duine a labhras nithe fiara[f],

13 A dh'fhàgas ceumanna an ionracais, a dh'imeachd ann an ſlighibh an dorchadais ;

14 Leis an aoibhinn an t-olc a dheanamh, *agus* a tha gabhail tlachd ann an aingealtachd nan aingidh.

15 '*Gam bheil* an ſligheanna cam, agus iad a' claonadh nan ceumannaibh.

16 Chum do ſhaoradh o'n mhnaoi choimhich, o'n bhana-choigrich *a* ni miodal le a briathraibh ;

17 A thréigeas oid-ionnſuich[g] a h-òige, agus a dhi-chuimhnicheas coimhcheangal a Dé :

18 Oir tha a tigh a' claonadh chum bàis, agus a ceumanna chum nam marbh.

19 Cha phill duine ſam bith a théid d'a h-ionnſuidh, agus a rìs cha'n fhaigh e ſligheanna na beatha[h].

20 Chum gu'n imich thu ann an ſlighe dhaoine maithe[i], agus gu'n gléidh thu ceumanna nam firean.

21 Oir gabhaidh na h-ionracain còmhnuidh ſan tìr, agus fanaidh na daoine foirfe[j] innte.

22 Ach gearrar na daoine aingidh bharr na talmhainn, agus ſpìonar luchd-euſaontais as.

CAIB. III.

A MHIC, na di-chuimhnich mo lagh, ach gleidheadh do chridhe m'àitheanta :

2 Oir laithean buan, agus ſaoghal fada,-

a *àmhghar.* b *cha d'aontaich iad le m' chomhairle.* c *ſoirbheachadh.* d *sàmhach.* e *gu d' dhìon* f *tarſuinn.* g *treòraiche, fear-ſtiùraidh.* h *ni mò a ghabhas e greim do ſhlighibh na beatha.* i *matha.* j *iomlan, coimhlionta.*

ſada, agus ſìth bheir iad dhuit.

3 Na tréigeadh tròcair agus firinn thu: ceangail iad mu d' mhuineal, ſcrìobh iad air clàr do chridhe.

4 Agus gheibh thu deadh-ghean, agus tuigſe mhaith an ſeallạdh Dhé agus dhaoine.

5 Earb as an Tighearna le d' uile chridhe, agus ri d' thuigſe féin na biodh do thaice.

6 Ann ad uile ſhlighibh aidich e, agus ſeòlaidh eſan do cheumanna.

7 Na bi glic a'd' ſhùilibh féin; biodh eagal an Tighearna ort, agus tréig olc.

8 Na ſhlàinte bithidh e do d' iomlaig, agus na ſmior do d' chnàmhaibh.

9 Thoir urram do'n Tighearna le d' mhaoin, agus le ceud thoradh t'uile chinneis [a].

10 Agus lìonar do ſhaibhlean le pailteas, agus le fion nuadh ruithidh t-fhìon-amair thairis.

11 Air cronachadh an Tighearna, a mhic, na deanſa tàir, agus na ſgìthich d'a ſmachdachadh.

12 Oir eſan a's toigh leis an Tighearna ſmachdaichidh ſe, mar *a ſmachdaicheas* athair am mac *anns* am bheil a thlachd.

13 *Is* ſona an duine *a* dh'amaiſeas air gliocas, agus am fear *a* gheibh tuigſe:

14 Oir *is* fearr a ceannachd [b] na ceannachd airgid, agus a buannachd [c] na'n t-òr.

15 *Is* luachmhoire i na na ſeudan [d], agus cha 'n'eil gach ni a's urrainn thu mhiannachadh r'an coimhmeas [e] rithe.

16 *Tha* ſaoghal fada na làimh dheis; na làimh chli ſaibhreas agus urram.

17 *Is* ſligheanna ſubhachais a ſligheanna, agus *is* ſìth a ceumanna uile.

18 *Is* craobh beatha i dhoibhſan a ni greim oirre, agus *is* ſona iadſan a ghleidheas i.

19 Le gliocas ſhuidhich an Tighearn an talamh; le tuigſe ſhocraich e na nèamha.

20 Le 'eòlas-ſan briſear ſuas na doimhneachdan, agus ſilidh na neoil a nuas an drùchd.

21 A mhic, na dealaicheadh iad ri d' ſhùilibh: coimhid gliocas fallain agus tuigſe [f].

22 Agus bithidh iad nam beatha do d' anam, agus nam maiſe do d' mhuineal.

23 An ſin imichidh tu a'd' ſhlighe gu tèaruinte, agus cha tuiſlich do chos [g].

24 'Nuair a luidheas tu sìos, cha bhi eagal ort: ſeadh, luidhidh tu sìos, agus bithidh do chodal milis [h].

25 Na biodh ſgàth [i] ort roimh eagal obann, no roimh fhàſachadh [j] nan aingidh, 'nuair a thig e.

26 Oir bithidh an Tighearna na thearmunn duit, agus gleidhidh e do chos o bhi air a glacadh.

27 Na cum maith o'n droing d'an dlighear e, 'nuair a tha e 'n comas do làimh *a* dheanamh.

28 Na h-abair ri d' choimhearſnach, Imich, agus thig a rìs, agus am màireach bheir mi dhuit, 'nuair a tha e agad làimh riut.

29 Na dealbh olc an aghaidh do choimhearſnaich, agus e gabhail còmhnuidh gu muinghineach làimh riut.

30 Na dean ſtri ri duine gun aobhar, mur do rinn e cron ort.

31 Na biodh farmad agad ri fear an fhoirneirt, agus na ròghnuich a' bheag d'a ſhlighibh.

32 Oir *is* gràinealachd do'n Tighearn an duine drochmhuinte [k], ach *tha* a rùn aig an ionracan.

33 *Tha* mallachd an Tighearna ann an tigh an aingidh; ach beannuichidh e àite-còmhnuidh nam fìrean.

34 Gu cinnteach air luchd-fochaid ni e fochaid; ach do'n iriosal bheir e gràs [l].

35 Sealbhuichidh

a *fhàis.* b *malairt.* c *tairbhe.* d *leugan, clachan luachmhor.* e *ſàmhlachadh.* f *teirſinneachd, caomhaidheachd.* g *chas.* h *ciuin, ſuaimhneach.* i *faitcheas.* j *mhilleadh, ſgrios.* k *droch-mhèineach ceannairceach.* l *deadh-ghean.*

35 Sealbhaichidh na daoine glice urram ; ach is e nàire ardachadh nan amadan.

CAIB. IV.

CLUINNIBH, a chlann, teagaſg athar, agus thugaibh an aire, chum gu faigh ſibh eòlas air tuigſe :

2 Oir tha mi toirt duibh deadh theagaiſg ; na tréigibhſe mo reachd.

3 Oir bu mhiſe mac muirneach [a] m'athar, agus mar aon-ghin mic *bha mi* ann an ſealladh mo mhàthar.

4 Theagaiſg e mi mar an ceudna, agus thubhairt e rium, Cumadh do chridhe mo bhriathra ; coimhid m'àitheantan agus mair beo.

5 Faigh gliocas, faigh tuigſe : na di-chuimhnich, agus na claon o bhriathraibh mo bheoil.

6 Na tréig i, agus gleidhidh ſi thu : gràdhaich i, agus coimhididh ſi thu.

7 *Is* e gliocas an ni sònruichte [b] ; faigh gliocas, agus maille ri d' uile fhaghail faigh tuigſe.

8 Ardaich i, agus cuiridh i ſuas thu ; bheir i gu h-urram thu, 'nuair a ghabhas tu a'd' ghlacaibh i.

9 Bheir i do d' cheann coron maiſe : crùn glòire bheir i ſeachad duit.

10 Eiſd, a mhic, agus gabh m'fhocail : agus bithidh bliadhnacha do bheatha lìonmhor.

11 Ann an ſlighe a' ghliocais theagaiſg mi thu : threòraich mi thu ann an ceumannaibh dìreach.

12 'Nuair a dh'imicheas tu, cha teannaichear [c] do cheumanna, agus an uair a ruitheas tu, cha tuiſlich thu.

13 Dean greim daingean air teagaſg, na leig as *e* ; coimhid e, oir *is* e do bheatha e.

14 Na gabh a ſteach do rathad nan aingidh, agus na h-imich ann an ſlighe dhroch dhaoine.

15 Seachainn i, na gabh ſeachad làimh rithe, pill uaithe [d], agus imich romhad.

16 Oir cha chaidil iadſan mur dean iad olc : agus tha'n cadal air a thoirt uatha mur toir iad air *cuid-eigin* tuiteam.

17 Oir tha iad ag itheadh arain na h-aingidheachd, agus ag òl fiona an ainneirt.

18 Ach *tha* ſlighe nam ſirean mar an ſolus dealrach, a dhealraicheas ni's mò agus ni's mò gu ruig an latha iomlan.

19 *Tha* ſlighe nan aingidh mar dhorchadas : cha'n aithne dhoibh ciod air am bheil iad a' tuiſleachadh.

20 A mhic, do'm' fhoclaibh thoir aire ; ri m' bhriathraibh aom do chluas.

21 Na imicheadh iad o d' ſhùilibh : gléidh iad am meadhon do chridhe.

22 Oir *is* beatha iad dhoibhſan a gheibh iad, agus ìoc-ſhlàint [e] d'am feoil uile.

23 Leis gach uile dhìchioll gléidh do chridhe ; oir as ſin *tha* ſruthanna [f] na beatha.

24 Cuir uait am beul fiar [g], agus na bilean beumnach cuir fad uait.

25 Sealladh do ſhùilean gu ceart rompa, agus ſeòladh fabhrainnean [h] do ſhùl gu dìreach romhad.

26 Cothromaich ceumanna do chos, agus bìodh do ſhlighean uile air an ſocrachadh.

27 Na tionndaidh a chum na làimhe deiſe, no clìthe : carruich do chos o'n olc.

CAIB. V.

A MHIC, do m' ghliocas thoir an aire ; ri m' thuigſe aom do chluas.

2 Chum gu'n coimhid thu [i] ciall [j], agus gu'n gléidh do bhilean eòlas.

3 [Na h-éiſd ri mealltoireachd mnà :] oir *mar* a' chìr-mheala ſilidh bilean mnà coimhich, agus *is* mìne [k] na oladh a beul.

4 Ach *tha* a crìoch ſearbh mar a' bhurmaid, geur mar chlaidheamh dà fhaobhair.

5 *Tha* a coſan a' dol sìos chum a' bhàis : ni a ceumanna greim air ifrinn.

a *òg, maoth.* b *an ceud ni.* c *chumhaingichear.* d *uaipe.* e *ſlàinte.* f *tobraiche.* g *cealgach.* h *ruiſg.* i *gu'm bi meas agad air.* j *crìonnachd, eagnaidheachd.* k *tlaithe.*

ifrinn [a].

6 Air eagal gu'n cothromaicheadh tu flighe na beatha [b], luaineach [c] tha a ceumanna, *air chor as* nach urrainn thu *'n* aithneachadh.

7 A nis uime fin, a chlann, éifdibh rium, agus na dealaichibh ri briathraibh mo bheoil.

8 Atharraich do fhlighe fad uaithe [d], agus na dthig am fagus do dhorus a tighe:

9 Air eagal gu'n dthoir thu do neart [e] do mhuinntir eile, agus do bhliadhnacha do'n an-iochdmhor:

10 Air eagal gu'n lìonar coigrich le d' fhaibhreas, agus gu'm *bi* do fhaothair ann an tigh coigrich,

11 Agus gu'n dean thu caoidh [f] ma dheireadh, 'nuair a chaithear t'fheoil agus do chorp [g],

12 Agus gu'n abair thu, Cionnus a thug mi fuath do theagafg, agus a rinn mo chridhe tàir air achmhafan?

13 Agus nach robh mi ùmhal do ghuth mo luchd-teagaifg, agus nach d'aom mi mo chluas riu-fan a theagaifg mi?

14 Is beag nach robh mi anns gach olc, am meadhon a' chomhchruinneachaidh, agus a' choimhthionail.

15 Ol uifgeachan as do fhoitheach féin; agus uifgeacha ruith as do thobair [h] féin.

16 Biodh [i] do thobraichean air an fgaoileadh a mach: *do* fhruthan uifge anns na fràidibh.

17 Biodh iad agad féin a mhàin, agus na b'ann aig coigrich maille riut.

18 Biodh do thobair beannaichte: agus dean gairdeachas maille ri mnaoi-phòfda t'òige.

19 *Biodh i mar* an eilid ghràdhach, agus mar an earb [j] thaitneach; sàfaicheadh a cìochan thu fgach àm: le a gràdh bi a ghnàth air do lìonadh.

20 Agus c'ar fon, a mhic, a mheallar thu [k] le mnaoi choimhich, agus a dhlùthaicheas tu ri brollach banachoigrich?

21 Oir fa chomhair fhùl an Tighearna *tha* fligheanna an duine, agus *tha* e a' cothromachadh a cheumanna uile.

22 Glacaidh 'eucearta féin an t-aingidh, agus le cuird a pheacaidh ceanglar e.

23 Bàfaichidh e gun teagafg, agus ann am meud 'amaideachd théid e air feacharan.

CAIB. VI.

A MHIC, ma ta thu 'n urras air do charaid, *ma* bhuail thu do làmh le neach eile,

2 Ribeadh thu le briathraibh do bheoil; ghlacadh thu le foclaibh do bheoil.

3 Dean fo a nis, a mhic, agus faor thu féin, 'nuair a thig thu 'n làimh do charaid; imich, irioflaich thu féin, agus dean cinnteach do charaid.

4 Na toir codal do d' fhùilibh, no clò chodail do d' rofgaibh [l].

5 Thoir as thu féin mar earb a làimh *an t-fealgair* [m], agus mar eun a làimh an eunadair.

6 Imich a chum an t-feangain, a leifgein [n]; thoir fa'near a fhlighean, agus bi glic:

7 Aig nach 'eil fear-feòlaidh, fearamhairc [o], no riaghladair,

8 A dh'ulluicheas a bhiadh fan t-famhradh, agus a chruinnicheas a theachd-an-tìr fan fhogharadh.

9 Cia fhad a choidleas tu, a leifgein? c'uin a dh'éireas tu as do chodal?

10 *Fathaft* beagan codail, beagan clò chodail, beagan fillidh [p] nan làmh gu codal.

11 An fin thig do bhochdainn mar fhear-fiubhail, agus t'uireafbhuidh mar dhuine fuidh armaibh.

12 Duine nach fiu, fear aingidh, fiubhlaidh

a *bheir a ceumanna do'n uaigh*. b *flighe na beatha cha 'n'eil i idir a' cothromachadh*. c *caochlaideach*. d *uaipe*. e *t'urram, do mhaife*. f *gu'm beuc thu*. g *feoil do chuirp*. h *thiobairt*. i [*Na*] *biodh*. j *earba*. k *théid thu air feacharan, bhios tu air do mheadhradh*. l *fhàbhraidhibh*. m *as an lìon*. n *a lundaire*. o *fear-sùilbheachd, maighftir-oibre*. p *pafgaidh*.

ſiubhlaidh e le beul ana-cneaſda[a].
13 Caogaidh e le 'shùil, bheir e
ſanas[a] le 'chois, teagaiſgidh e le
'mheuraibh.
14 *Tha* aingealtachd[b] na chridhe,
tha e a' dealbhadh uilc a ghnàth;
togaidh e aimhreit[c].
15 Uime ſin gu h-obann thig a
ſgrios[d]; gu grad briſear e, gun
leigheas.
16 Na sè nithe ſo is fuathach leis
an Tighearna; ſeadh, *tha* ſeachd
nithe nan gràinealachd d'a anam:
17 Sealladh ard[e], teanga bhreug-
ach, agus làmhan a dhòirteas fuil
neo-chiontach,
18 Cridhe a dhealbhas ſmuaintean
aingidh, coſan a bhios luath a ruith
chum uilc,
19 Fianuis bhreugach *a* labhras
breugan, agus eſan a thogas aimh-
reit[f] eadar bhràithribh.
20 A mhic, coimhid àithne t'athar,
agus na tréig reachd[g] do mhàthar.
21 Ceangail iad a ghnàth air do
chridhe, daingnich iad mu d' mhuin-
eal.
22 'Nuair a dh'imicheas tu, treòr-
aichidh iad[h] thu; 'nuair a choidleas
tu[i] gleidhidh iad[j] thu; agus *an
uair* a dhùiſgeas tu, labhraidh iad[k]
riut.
23 Oir *is* lòchran an àithne, agus
is ſolus an reachd, agus *is iad* ſlighe
na beatha achmhaſain teagaiſg;
24 Chum do ghleidheadh o'n droch
mhnaoi, o mhiodal teanga na mnà
coimhich.
25 Na miannaich a ſgèimh ann ad
chridhe; agus na glacadh i thu le a
roſgaibh:
26 Oir le[l] mnaoi ſtrìopachail
bheirear duine gu greim arain: agus
ſealgaidh a'bhan-adhaltrannach air an
anam luachmhor.
27 An urradh duine teine a ghabh-
ail na bhrollach, agus gun 'eudach a
bhi air a loſgadh?
28 An urradh duine imeachd air
eibhlibh teithe, agus gun a choſan a
bhi air an loſgadh?
29 Mar ſin eſan a théid a ſteach
chum mnà a choimhearſnaich: cha
bhi neach air bith neo-chiontach a
bheanas rithe.
30 Cha deanar tàir air gaduiche,
ma ghoideas e a ſhàſuchadh 'anama
'nuair a bhios e ocrach:
31 Ach ma ghlacar e, aiſigidh[m]
e a ſheachd uiread, uile mhaoin a
thighe bheir e ſeachad.
32 Ach ge b'e ni adhaltrannas ri
mnaoi, tha e gun tuigſe[n]: ſgrioſaidh
eſan *a* ni e 'anam féin.
33 Lot agus mi-chliu gheibh e, a-
gus a mhaſladh cha ghlanar as.
34 Oir *is* e 'n t-eud cuthach an
fhir: uime ſin cha chaomhain e ann
an là an dioghaltais.
35 Cha bhi ſuim aige dh'eiric air
bith[o]; ni mò a thoilichear e, ge do
bheir thu *dha* mòran thiodhlacan.

CAIB. VII.

A MHIC, gléidh mo bhriathran,
agus taiſg m'àitheanta maille
riut.
2 Gléidh m'àitheantan, agus bi
beo; agus mo lagh mar dhubhagan[p]
do ſhùl.
3 Ceangail iad air do mheuraibh;
ſcrìobh iad air clàr do chridhe.
4 Abair ri gliocas, *Is* tu mo phiuth-
ar; agus goir *do* bhan-charaid do
thuigſe:
5 Chum gu'n gléidh iad thu o'n
mhnaoi choimhich, o'n bhanachoig-
rich *a* ni brionnal[q] le a briathr-
aibh.
6 Oir aig uinneig mo thighe
dh'amhairc mi troimh[r] mo chléith,
7 Agus ſheall mi am meaſg nan
daoine baoghalta; thug mi fa'near
am meaſg nan òganach, òig-fhear
gu'n chéill[ſ],
8 A' dol ſeachad air an t-ſràid fa-
gus d'a h-oiſinn, agus ghabh e an
t-ſlighe chum a tighe,

 9 San

a *labhraidh e.* b *coirbteachd, ana-cneaſdachd.* c *sìol-chuiridh e ais-ſith.* d *'àmhghar.* e *uaibhreach.* f *ais-ſith.* g *lagh.* h *e.* i *a luidheas tu sìos.* j *e.* k *e.* l *trìd.* m *bheir e air ais.* n *dhìth céille.* o *Cha taitinn éiric ſam bith ris.* p *ubhal, chloich.* q *miodal.* r *tre, trìd.* ſ *gun chridhe.* Eabh.

9 San dù thra [a], san fheasgar, san oidhche dhuibh dhoirch:

10 Agus feuch, thachair bean air ann an culaidh striopaiche, agus cuilbheartach na cridhe.

11 (*Tha* i ard-ghuthach [b] agus ceann-làidir; cha'n fhan a cosan na tigh.

12 A nis *tha i* mach, a nis anns na sràidibh, agus a' feitheamh nam fàth aig gach oisinn.)

13 Agus rug i air, agus phog i e, agus le aghaidh gun nàire thubhairt i ris [c],

14 *Tha* tabhartais-shìth agam; an diugh dh'ìoc mi mo bhòidean.

15 Uime sin thàinig mi mach a'd' choinneamh, a dh'iarraidh t'aghaidh gu dìchiollach, agus fhuair mi thu.

16 Le còmhdaichibh grinne [d] sgeadaich mi mo leaba, le *oibribh* gearrta, le lìon-eudaich mìn o'n Eiphit.

17 Rinn mi mo leaba cùbhraidh le mirr, aloe, agus canal.

18 Thig, gabhamaid ar sàth do ghaol gu maduinn, deanamaid comhghairdeachas ann an gaol:

19 Oir cha *'n'eil* fear an tighe aig baile; chaidh e air thurus fada;

20 Sporan airgid thug e leis [e]; air an là shuidhichte thig e dhachaidh.

21 Le mòran d'a cainnt mhilis thug i air aontachadh; le miodal a bilean chomh-éignich i e.

22 Tha e a' dol na déigh gun dàil, mar a théid an damh chum a chosgaraidh [f], no'n t-amadan a chum peanais a' chip:

23 Gus an dthéid saighead troimh 'àinean, mar a ghreasas eun do'n ribe, gun fhios aige gur ann chum a' bhàis *a ta* e.

24 A nis uime sin éisdibh rium, a chlann, agus thugaibh aire do bhriathraibh mo bheoil.

25 Na claonadh do chridhe chum a slighean na, na rach [g] air seacharan na ceumaibh.

26 Oir lot agus leag i sìos mòran; seadh, chaidh mòran do dhaoinibh treuna a mharbhadh leatha.

27 *Is* e a tigh an t-slighe gu h-ifrinn, a' dol sìos gu seòmraichibh a' bhàis.

CAIB. VIII.

NACH 'eil gliocas ag éigheach? agus nach 'eil tuigse a' cur a mach a gutha?

2 Air mullach nan àit arda, làimh ris-an t-slighe, ann am meadhon nan rathad *tha* i na seasamh.

3 Làimh ris na geatachaibh, aig dol a stigh a' bhaile [h], far an dthigear a steach air na dorsaibh tha i ag éigheach:

4 Ribhse, O fheara, tha mi ag éigheach; agus *tha* mo ghuth ri cloinn nan daoine.

5 A dhaoine baoghalta, tuigibh gliocas; agus amadana, tuigibh nar cridhe.

6 Eisdibh, oir labhraidh mi air nithibh òirdheirce; agus *bithidh* fosgladh mo bhilean air nithibh cearta.

7 Oir labhraidh mo bheul firinn; agus *is* gràineileachd aingidheachd do m' bhilibh.

8 Ann an ceartas *tha* uile bhriathra mo bheoil: annta-san cha *'n'eil* ni air bith olc no fiar.

9 *Tha* iad uile soilleir dha-san a thuigeas, agus ceart dhoibhsan a gheibh eòlas.

10 Gabhaibh mo theagasg, agus ni h-e airgiod, agus eòlas thar an òr thaghta.

11 Oir *is* fearr gliocas na na clachan luachmhor; agus cha 'n 'eil na h-uile nithe a dh'fheudar a mhiannachadh r'an coimhmeas rithe.

12 Tha mise gliocas a'm' chòmhnuidh maille ri céill [i], agus tha mi faghail a mach eòlais air nithibh innleachdacha.

13 *Is* e eagal an Tighearna an t-olc fhuathachadh; uabhar, agus ardan, agus an droch shlighe, agus am beul fiar is fuathach leam.

14 *Is*

a *Mu dhorchadh nan tràth, san eadar-sholus.* b *bruidhneach.* c *chruaidhich i a h-aghaidh, agus thubhairt i ris.* d *còmhdaichibh do obair ghréis; tapestry.* Sasg. e *na làimh.* Eabh. f *mharbhaidh.* g *gabh, imich.* h *beul a' bhaile.* Eabh. i *crionnachd.*

14 *Is* leamſa comhairle, agus fior ghliocas: *is* leamſa tuigſe; *is* leamſa neart[a].

15 Leamſa[b] rìoghaichidh righrean, agus orduichidh uachdarana ceartas.

16 Leamſa riaghlaidh uachdarain, agus daoine mòra[c], uile bhreitheamhna na talmhainn.

17 Iadſan aig am bheil gràdh dhomh gràdhaichidh mi, agus iadſan a dhiarras mi gu moch gheibh iad mi

18 *Tha* beartas agus urram maille riumſa; ſaibhreas maireannach agus fìreantachd.

19 *Is* fearr mo thoradh na òr, eadhon na òr fior-ghlan; agus mo theachd-a-ſtigh na airgiod taghta.

20 Air ſlighe a' cheartais treòraichidh mi; ann am meadhon cheumanna a' bhreitheanais;

21 A chum as gu'n dthoir mi orra-ſan le'n ionmhuinn mi maoin a ſhealbhachadh; agus lìonaidh mi an ionmhaſan.

22 Bha miſe aig an Tighearn ann an toiſeach a ſhlighe, roimh 'oibrean o ſhean.

23 O ſhìorruidheachd chuireadh ſuas[d] mi, o'n toiſeach, mun robh an talamh ann.

24 Mun *robh* doimhneachda ann, ghineadh miſe; 'nuair nach *robh* tobraiche ann, làn do uiſgeachaibh.

25 Mun do ſhuidhicheadh na beannta; roimh na cnocaibh ghineadh miſe.

26 Mun d'rinn e fathaſt an talamh, no na machraichean, no chuid a's airde do dhuſlach an domhain.

27 'Nuair a dheaſaich e na nèamha, *bha* mi'n ſin; 'nuair a tharruing e cuairt air aghaidh na doimhne;

28 'Nuair a dhaingnich e 'n t'athar[e] ſhuas; 'nuair a neartaich e tobhraiche na doimhne;

29 'Nuair a thug e a reachd do'n fhairge, nach rachadh na h-uiſgeacha thar 'àithne; 'nuair a ſhuidhich e bunaite na talmhainn;

30 An ſin bha miſe aige mar neach a dh'altrumadh[f] *maille ris*, agus bu mhi a thlachd gach là, a' deanamh gairdeachais na fhianuis an còmhnuidh;

31 A' deanamh gairdeachais anns a' chuid a dh'àitichear d'a thalamh, agus mo thlachd maille ri cloinn nan daoine.

32 *A* nis uime ſin, a chlann, eisdibh rium; oir *is* ſona *iadſan* a ghleidheas mo ſhligheanna.

33 Eiſdibh ri teagaſg, agus bithibh glic, agus na diùltaibh *e*.

34 *Is* beannuichte an duine a dh'eiſdeas rium, a' deanamh faire aig mo gheataibh gach là, a' feitheamh aig urſainnibh mo dhorſa.

35 Oir eſan a gheibh miſe, gheibh e beatha, agus gheibh e deadh-ghean[g] o'n Tighearna.

36 Ach eſan a pheacaicheas a'm' aghaidh-ſa[h], ni e cron d'a anam féin: iadſan uile a dh'fhuathaicheas mi, gràdhaichidh iad am bàs.

C A I B. IX.

THOG gliocas a tigh; ghearr i mach[i] a ſeachd puiſt.

2 Mharbh i a feoil, mheaſg i a fion; dheaſaich i mar an ceudna a bord.

3 Chuir i mach a h-òighean, tha i a' gairm air na h-àitibh a's airde do'n bhaile:

4 Ge be neach *a ta* baoghalta, thigeadh e a ſtigh an ſo: riu-ſan[j] a tha dhìth tuigſe tha i ag ràdh,

5 Thigibh, ithibh do m'aran-ſa, agus òlaibh do'n fhìon *a* mheaſg mi.

6 Tréigibh nithe amaideach, agus bithibh beò, agus imichibh air ſlighe na tuigſe.

7 Eſan a bheir achmhaſan do fhear-fochaid, gheibh e dha féin maſladh; agus eſan a chronaicheas an t-aingidh, *gheibh e* dha féin ſmal.

8 Na cronaich fear-fochaid, air eagal gu'm fuathaich e thu: cronaich an duine glic, agus gràdhaichidh e thu.

9 Thoir

a is *miſe tuigſe; agamſa* tha *neart*. b *Triomſa*. c *ard uaiſlean*.
d *dh'ungadh*. e *na neoil*. f *dh'àraicheadh*. g *caoimhneas*.
h *a théid air ſeacharan uam*. i *ſhnaidh i*. j *ris-ſan, ris gach neach*.

9 Thoir teagasg do'n duine ghlic, agus bithidh e ni's glice: teagaisg an duine cothromach, agus meudaichidh e ann am foghlum.

10 *Is* e eagal an Tighearna toiseach a' ghliocais; agus *is* e eòlas *nithe* naomh, tuigse.

11 Oir leamsa nithear do laithean lìonmhor, agus cuirear ri bliadhnachaibh do bheatha.

12 Ma bhios tu glic, bithidh tu glic dhuit féin: ach *ma* bhios tu ri fochaid, is tu féin a mhàin a dh'iomchaireas e.

13 *Tha* bean amaideach ard-ghuthach, baoghalta, agus cha 'n aithne dhi ni air bith:

14 Oir suidhidh i aig dorus a tighe, air caithir, ann an àitibh arda a' bhaile,

15 A ghairm orra-san a bhios a' dol seachad air an t-slighe, a' gabhail dìreach rompa [a].

16 Ge b'e neach *a ta* baoghalta, thigeadh e stigh an so: agus ris-san a tha dhìth tuigse their i,

17 *Tha* na h-uisgeachan a ghoidear milis, agus an t-aran *a dh'ithear* an uaigneas taitneach.

18 Ach cha 'n'eil fhios aige gu *bheil* na mairbh an sin, ann an doimhneachdaibh ifrinn *gu bheil* a h-aoidheanna.

CAIB. X.

GNATH-FHOCAIL Sholaimh. Ni mac glic athair subhach; ach *is* e mac amaideach dubhachas a mhàthar.

2 Cha 'n'eil tairbhe ann an ionmhasaibh aingidheachd; ach saoraidh ionracas o'n bhàs.

3 Cha leig an Tighearna le anam an ionraic gort [b] fhulang; ach sgaoilidh e maoin nan aingidh.

4 Ni làmh na leisge [c] bochd; ach ni làmh nan dìchiollach beartach.

5 Esan a chruinnicheas anns an t-samhradh, *is* mac glic e; ach esan a choidleas anns an fhoghara, *is* mac maslach e.

6 *Bithidh* beannachdan air ceann an fhìrein [d]; ach còmhdaichidh foirneart beul [e] nan aingidh.

7 *Bithidh* cuimhne an fhìrein beannuichte; ach lobhaidh ainm nan aingidh.

8 Gabhaidh esan a ta glic na chridhe àitheanta; ach tuitidh an t-amadan bith-bhriathrach.

9 Esan a ghluaiseas ann an ionracas, gluaisidh e gu tèaruinte; ach esan a chlaonas a shlighean, aithnichear e.

10 Esan a chaogas le 'shùl, bheir e bròn: agus tuitidh an t-amadan bith-bhriathrach.

11 *Is* tobar beatha beul an fhìrein; ach còmhdaichidh foirneart beul nan aingidh.

12 Dùisgidh fuath aimhreitean; ach folaichidh gràdh gach coire [f].

13 Ann am bilibh an duine thuigsich gheibhear gliocas: ach *tha* slat air son druim an ti a tha as eugmhais tuigse [g].

14 Ceilidh daoine glic na's aithne dhoibh [h]; *tha* beul an amadain dlùth do sgrios.

15 *Is* e beartas an duine shaibhir a chaithir i làidir; *is* e milleadh nam bochd an uireasbhuidh.

16 *Tha* saothair an fhìrein chum beatha, teachd a stigh [j] an aingidh chum peacaidh.

17 *Tha* esan a choimhideas fòghlum *anns an* t-slighe gu beatha; ach tha esan a dhiùltas achmhasan air seacharan.

18 Esan a cheileas fuath *le* bilibh cealgach, agus esan a labhras mi-chliu, *is* amadan e.

19 Ann an lìonmhoireachd bhriathar cha bhithear saor o pheacadh; ach *tha* esan a choisgeas a bhilean glic.

20 Mar airgiod taghta [k] *tha* teanga an fhìrein; ach *tha* cridhe nan aingidh mar ni nach fiu.

21 Beathaichidh bilean an fhìrein mòran; ach eugaidh na h-amadain a dhìth tuigse [l].

a *a' stiùradh an ceumanna.* b *gorta.* c *na ceilge.* d *an ionracain.* e *gnùis.* f *cionta, peacadh.* g *cridhe.* Eabh. h *Taisgidh daoine glic eòlas.* i *a mhòr-bhaile.* j *toradh.* k *dearbhta, fior-ghlan.* l *cridhe.* Eabh.

22 Ni beannachadh an Tighearna
ſaibhir, agus cha chuir e doilgheas
na chuideachd.
23 *Tha* e mar ſhùgradh do'n am-
adan olc a dheanamh ; ach *tha* glioc-
as aig fear na tuigſe.
24 An ni is eagal leis an aingidh,
thig e air ; ach deònuichear miann
nam firean.
25 Mar a théid an ioma-ghaoth
thairis, mar ſin cha *bhi* an droch
dhuine ni's mò ; ach *is* bunait sìor-
ruidh am firean.
26 Mar fhìon-geur do na fiaclaibh,
agus mar dheataich do na sùilibh,
mar ſin *tha*'n leiſgein dhoibhſan a
chuireas uatha e.
27 Cuiridh eagal an Tighearna ri
laithibh *duine* ; ach giorraichear
bliadhnacha nan aingidh.
28 *Bithidh* dùil nam firean na
aobhar aoibhneis ; ach théid as do
dhòchas nan aingidh.
29 *Is* neart do na h-ionraic ſlighe
an Tighearna ; ach *thig* ſgrios air [a]
luchd-deanamh na h-euceirt.
30 Cha ghluaiſear am firean gu
bràth ; ach cha ghabh na h-aingidh
còmhnuidh air an talamh.
31 Bheir beul an fhìrein a mach
gliocas ; ach gearrar as an teanga
fhiar.
32 Tha fios aig bilibh an fhìrein
air an ni a ta taitneach ; ach *labhr-
aidh* beul nan aingidh nithe fiara.

CAIB. XI.

THA meidhean mealltach nan
gràineileachd do'n Tighearn ;
ach *is* taitneach leis toimhſean ceart [b].
2 'Nuair a thig uabhar, thig maſ-
ladh ; ach aig na h-iriofail *tha* glioc-
as.
3 Seòlaidh ionracas nam firean
iad ; ach millidh fiaradh [c] luchd dò-
bheirt iad féin.
4 Cha bhi tairbhe ann an ſaibhreas
ann an làtha na feirge ; ach ſaoraidh
fireantachd o'n bhàs.
5 Seòlaidh fireantachd an duine
ionraic [d] a ſhlighe ; ach trìd 'aingidh-
eachd féin tuitidh an t-aingidh.
6 Saoraidh fireantachd nan ionraic
iad ; ach glacar fealltairean [e] nan
olc *féin*.
7 'Nuair a bhàſaicheas an droch
dhuine, théid as d'*a* dhòchas ; agus
teirgidh dùil luchd-euceirt.
8 Saorar am firean o theinn ; ach
thig an droch dhuine na àite.
9 Le 'bheul millidh cealgair a
choimhearſnach ; ach trìd eòlais ſaor-
ar na fireana.
10 'Nuair a dh'éireas gu maith do
na fireanaibh, ni am baile [f] gaird-
eachas ; agus an uair a ſgrioſar na
h-aingidh, *bithidh* luathghaire ann.
11 Le beannachadh nan ionraic
ardaichear baile ; ach le beul nan
aingidh leagar e.
12 Ni eſan a tha as eugmhais
gliocais [g] tàir air a choimhearſnach ;
ach bithidh fear na tuigſe na thoſd.
13 Imichidh fear tuaileis mu'n
cuairt a' foillſeachadh nithe dìomh-
air ; ach eſan a ta firinneach na ſpio-
rad, ceilidh e ni.
14 Far nach 'eil comhairle, tuitidh
ſluagh ; ach ann an lionmhoireachd
chomhairleach *tha* tèaruinteachd.
15 Ciùrrar gu goirt eſan a bhios
an urras air coigreach ; ach eſan a
dh'fhuathaicheas luchd-urrais, bith-
idh e tèaruinte.
16 Gheibh bean ghràſail urram ;
agus coſnaidh daoine làidir ſaibh-
reas.
17 Ni an duine iochdmhor maith
d'a anam féin ; ach eſan a ta an-
iochdmhor, claoidhidh [h] e 'fheoil
féin.
18 Oibrichidh an droch dhuine
obair mhealltach ; ach aige-ſan a
chuireas [i] fireantachd *bithidh* duais
chinnteach.
19 Mar ſo *tha* fireantachd chum
beatha ; ach eſan a leanas an t-olc,
leanaidh e chum a bhàis féin *e*.
20 *Is* gràineileachd do'n Tighearn
iadſan a tha fiar nan cridhe ; ach *is*
taitneach leis iadſan a tha ionraic [j]
nan ſlighe.

21 *Ge*

a is *aobhar uambais i do.* b *clach iomlan.* Eabh. c *claonadh, cealg.* d *iomlain.* e *cealgairean, luchd-euſaontais.* f *a' chathair, am mòr-bhaile.* g *cridhe.* Eabh. h *buairidh.* i *ſhìol-chuireas.* j *iomlan, neo-lochdach.*

21 *Ge d'iadhadh* làmh mu làimh, cha bhi an droch dhuine gun pheanas; ach ſaorar ſliochd nam firean.

22 *Mar* fhail[a] òir ann an ſròin muice, *tha* bean ſgiamhach agus i as eugmhais tuigſe[b].

23 *Tha* miann nam firean a mhàin maith; ach *is* e dòchas nan aingidh fearg.

24 Tha neach ann a ſgaoileas, agus fàſaidh e ni's ſaibhire[c]; agus *tha* e ann a chumas tuilleadh 'ſa ta ceart, ach *thig e* gu bochdainn.

25 Nithear an t-anam fial ſultmhor[d]; agus an ti a dh'uiſgicheas, uiſgichear mar an ceudna e féin.

26 Eſan a chumas ſuas sìol[e], mallachidh an ſluagh e; ach *bithidh* beannachd air ceann an ti a reiceas[f].

27 Eſan a dh'iarras maith gu dùrachdach, gheibh e deadh-ghean[g]; ach an ti a dh'iarras olc, thig e air féin.

28 Eſan a dh'earbas as a ſhaibhreas, tuitidh e; ach mar ghéig, thig na fireana fo bhlàth.

29 Eſan a chuireas a theaghlach féin fo bhuaireas[h], *bithidh* e na oighre air a' ghaoith; agus *a* t amadan na ſheirbhiſeach dha-ſan a tha glic na chridhe.

30 *Is* craobh beatha toradh an fhìrein; agus *tha* eſan a choſnas anama glic.

31 Feuch, bheirear luigheachd[i] do'n fhìrean air an talamh: nach mò na ſin do'n aingidh agus do'n pheacach?

CAIB. XII.

ESAN a ghràdhaicheas fòghlum, gràdhaichidh e eòlas; ach eſan a dh'fhuathaicheas achmhaſan, tha e amaideach[j].

2 Gheibh duine maith deadh-ghean o'n Tighearn; ach dìtidh e fear nan droch innleachd.

3 Cha daingnichear duine le h-aingidheachd; ach cha ghluaiſear freumh nam firean.

4 *Tha* bean mhaith[k] na crùn d'a fear; ach mar lobhadh na chnàmhaibh *tha* iſe a nàiricheas e.

5 *Is* ceartas[l] ſmuainte nam firean; ach *is* cealg comhairle nan aingidh.

6 *Is* iad briathra nan aingidh feall-fheitheamh air ſon fola; ach tearnaidh beul nan ionraic iadſan.

7 Tilgear na h-aingidh bun os ceann, agus cha *bhi* iad ann; ach ſeaſaidh tigh nam firean.

8 A réir a ghliocais molar duine; ach nithear dìmeas air-ſan a tha fiar na chridhe.

9 *Is* fearr eſan air an deanar tàir, agus a tha na ſheirbhiſeach dha fein[m], na eſan a bheir urram dha féin, agus a bhios a dhìth arain.

10 Bithidh cùram aig an duine ionraic do bheatha 'ainmhidh; ach *is* an-iochdmhor truacantais nan aingidh.

11 Eſan a threabhas[n] 'fhearann, sàſuichear le h-aran e; ach eſan a leanas daoine dìomhain, *tha* e gun tuigſe[o].

12 Miannachaidh an t-aingidh lìon dhroch dhaoine; ach bheir freumh nam firean *toradh*[p].

13 Le peacadh *a* bhilean ribear an droch dhuine; ach thig am firean as o airc[q].

14 Do thoradh *a* bhéil sàſuichear duine le maith, agus ìocar luigheachd làmh duine dha féin.

15 *Tha* ſlighe an amadain ceart na ſhùilibh féin: ach *tha* eſan a dh'éiſdeas ri comhairle, glic.

16 Aithnichear air ball[r] fearg an amadain; ach ceilidh duine ciallach[ſ] maſladh.

17 *Eſan a* labhras an fhìrinn, foillſichidh

a *ſheud.* b *mothachaidh, eagnuidheachd.* c *cuirear an tuilleadh ris.* d *Sealbhaichidh an t-anam fial pailteas.* e *gràn.* f *a bheir air a bhi air a reiceadh.* g *deadh rùn.* h *a thogas an-riaghalt na thigh féin.* i *luaigheachd, duais.* j *mar ainmhidh.* k *bean na ſubhailce, nan deadh bheus.* l *ionracas.* m *aig am bi ſeirbhiſeach.* n *ſhaothraicheas.* o *as eugmhais cridhe.* Eabh. p *fàſaidh, daingnichear freumh nam firean.* q *'theanntachd.* r *ſan àm; ſan là.* Eabh. ſ *crìonna, glic.*

foillſichidh e ceartas [a]; ach *foillſichidh* fianuis bhreugach cealg.

18 Tha dream ann a labhras mar lotaibh claidheimh; ach *is* ſlàinte teanga nan daoine glice.

19 Bithidh bile na firinn ſeaſmhach gu bràth; ach cha *bhi* an teanga bhreugach ach car tiota.

20 *Is* cealg a bhios an cridhe luchd-deilbh an uilc; ach do chomhairleachaibh na sìthe *bithidh* gairdeachas.

21 Cha'n éirich aimhleas [b] air bith do'n fhìrean; ach lìonar na h-aingidh le h-olc.

22 *Is* gràineileachd do'n Tighearna bilean nam breug; ach *is* iad an droing a ni gu firinneach, a thlachd.

23 Ceilidh duine ciallach [c] eòlas; ach foillſichidh cridhe nan amadan amaideachd.

24 Riaghlaidh làmh nan dìchiollach; ach bithidh *làmh* na leiſge [d] fo chìs.

25 Ni iomaguin [e] ann an cridhe duine a chromadh sìos; ach ni focal maith sòlaſach e.

26 *Is* fearr am firean na a choimhearſnach; ach cuiridh ſlighe nan aingidh air ſeacharan iad féin.

27 Cha ròiſt an leiſgein a ſhithheann [f]; ach *is* luachmhor ſaibhreas an duine dhìchiollaich.

28 Ann an ſlighe na fireantachd *tha* beatha; agus na ceum cha *n'eil* bàs [g].

CAIB. XIII.

EISDIDH mac glic ri teagaſg 'athar; ach cha'n éiſd fear na fochaid ri achmhaſan.

2 Do thoradh *a* bheoil ithidh duine ni maith; ach *ithidh* [h] anam nam fealltair [i] ainneart.

3 Eſan a choimhideas a bheul, gleidhidh e 'anam; ach eſan a dh'fhoſglas a bhilean, *thig* ſgrios air.

4 Miannaichidh anam an leiſgein, agus cha *bhi aige*; ach nithear anam nan dìchiollach ſultmhor.

5 Is beag air an fhìrean na breugan; ach fàſaidh an droch dhuine gràineil, agus nàirichear e.

6 Gleidhidh fireantachd eſan a ta ionraic *'na* ſhlighe: ach claoidhidh aingidheachd am peacach [j].

7 Tha neach ann a leigeas air a bhi beartach [k], agus gun ni air bith *aige*; *tha* neach ann a leigeas air a bhi bochd, agus mòr ſhaibhreas aige.

8 *Is* e éirig [l] anama duine a ſhaibhreas; ach cha chluinn am bochd achmhaſan.

9 Ni ſolus nam firean aoibhneach; ach cuirear as lòchran nan aingidh.

10 O uabhar a mhàin thig conſachadh; ach aig na daoinibh a ghabhas deadh chomhairle *tha* gliocas.

11 Lùghdaichear ſaibhreas an dìomhanais; ach eſan a chruinnicheas le ſaothair [m], meudaichidh e.

12 Ni an dòchas anns an cuirear moille [n], an cridhe tinn; ach *is* craobh beatha am miann [o] 'nuair a thig e.

13 Eſan a ni tàir air focal, millear e; ach eſan air am bi eagal roimh àithne, gheibh e luigheachd.

14 *Is* tobar beatha lagh an *duine* ghlic, chum dol as o lìontaibh a' bhàis.

15 Bheir tuigſe mhaith deadh-ghean ach *is* cruaidh ſlighe luchd-euſaontais.

16 Ni gach duine ciallach [p] a ghnothuch le h-eòlas; ach leigidh an t-amadan ris 'amaideachd.

17 Tuitidh an droch theachdaire ann an olc; ach *is* ſlàinte an teachdaire dìleas.

18 Bochdainn agus nàire *bithidh* dhaſan a dhiùltas fòghlum; ach an ti aig am bi meas air achmhaſan, gheibh e urram.

19 Is milis do'n anam am miann a choimhlionar; ach *is* beag air amadanaibh dealachadh ris an olc.

20 An

a *Labhraidh am firean, agus foillſichidh e an fhìrinn.* b *urchoid.* c *crìonna, eagnaidheach.* d *ceilge.* e *dubhachas.* f *an ni a ghlac e le ſeilg.* g *ach treòraichidh rathad ſeacharanach gu bàs.* h fuilgidh. i *nan cealgair, luchd-euſaontais.* j *peacadh.* Eabh. k *a ni e féin ſaibhir.* l *fuaſgladh.* m *le làimh.* Eabh. n *an dòchas a ſhìnear.* o *fonn, togradh.* p *crìonna, glic.*

20 An ti a ſhiùbhlas le daoinibh glic, bithidh e glic; ach ſgrioſar companach nan amadan.

21 Leanaidh olc peacaich; ach do na fireanaibh ìocar maith.

22 Fàgaidh duine maith oighreachd aig cloinn a chloinne; ach taiſgear do'n fhìrean maoin a' pheacaich.

23 *Bithidh* mòran bìdh *ann an* treabhadh nam bochd; ach bithidh neach ann a ſgrioſar a dhìth breitheanais.

24 An ti a chaomhnas a ſhlat, is beag air a mhac; ach an ti leis an ionmhuinn e, ſmachdaichidh ſe e na thràth.

25 Ithidh am firean gu sàſachadh 'anama; ach bithidh dìth air broinn nan aingidh.

CAIB. XIV.

CUIRIDH gach bean ghlic a tigh ſuas; ach leagaidh a' bhean amaideach sìos e le a làmhaibh féin.

2 Eſan a ghluaiſeas na ionracas, bithidh eagal an Tighearna air; ach eſan a ta fiar na ſhlighibh, ni e tàir air.

3 Ann am beul an amadain *tha* ſlat uabhair; ach gleidhidh bilean nan daoine glic iad.

4 Far nach *bi* daimh, *bithidh* a' phraſach glan; ach *bithidh* fàs mòr le neart an daimh.

5 Cha dean an fhianuis dhìleas breug; ach labhraidh an fhianuis chealgach[a] breugan.

6 Iarraidh fear na fochaid gliocas, agus cha'*n fhaigh e;* ach do'n ti a thuigeas *tha* eòlas furas[b].

7 Imich as làthair an duine amaidich, 'nuair nach mothaich thu *ann* bilean an eòlais.

8 *Is* e gliocas an duine chiallaich a ſhlighe a thuigſinn; ach *is* cealg amaideachd nan amadan.

9 Ni amadain magadh do'n pheacadh; ach am meaſg nam firean *tha* deadh-ghean.

10 Is aithne do chridhe *duine* ſearbhas 'anama; agus na aoibhneas cha bhi comh-roinn aig coigreach[c].

11 Tilgear tigh nan aingidh bun os cionn; ach thig pàilliun nan ionraic fo bhlàth.

12 Tha ſlighe ann a chithear dìreach le duine; ach *is* iad a crìoch ſlighean a' bhàis.

13 Ann an gàire *féin* bithidh an an cridhe brònach; agus *is* e deireadh an t-ſubhachais ſin tuirſe.

14 Le 'ſhlighibh féin lìonar eſan a thionndaidh air ais na chridhe; agus uaith féin *sàſuichear* an duine maith.

15 Creididh an duine baoghalta[d] gach focal; ach bheir an duine ciallach an aire d'a cheum.

16 Bithidh eagal air an duine ghlic, agus tréigidh e 'n t-olc; ach tha'n t-amadan borb[e] agus dàna.

17 An ti air am bi fearg gu h-obann, ni e gu h-amaideach; agus fuathaichear fear nan droch innleachd.

18 Sealbhaichidh daoine baoghalta amaideachd mar oighreachd; ach crùnar na daoine ciallach le h-eòlas.

19 Cromaidh droch dhaoine an làthair dhaoine maith, agus na h-aingidh aig geataibh an fhìrein.

20 Eadhon le 'choimhearſnach féin fuathaichear duine bochd; ach *is* lìonmhor iad leis an ionmhuinn an duine ſaibhir.

21 An ti a ni tàir air a choimhearſnach, peacaichidh e; ach *is* ſona an ti a ghabhas truas do na bochdaibh.

22 Nach dtéid iadſan air ſeacharan a dhealbhas an t-olc? ach *bithidh* tròcair agus fìrinn aca-ſan a dhealbhas am maith.

23 Anns gach ſaothair bithidh tairbhe; ach *thig* cainnt nam bile a mhàin gu h-uireaſbhuidh.

24 *Is* e crùn nan daoine glic an ſaibhreas; ach *is* amaideachd amaideachd nan amadan.

25 Saoraidh fianuis fhìor anama; ach labhraidh *fianuis* chealgach breugan.

26 Ann an eagal an Tighearna *tha* aobhar earbſaidh làidir; agus aig a chloinn bithidh dìdean.

27 *Is* e eagal an Tighearna tobar

na

a *bhreugach.* b *furaſd.* c *neach eile.* d *neo-gheur, aon-fhillte, ſimplidh.* e *feargach.*

na beatha, chum dol as o lìontaibh a' bhàis.

28 Ann an lìonmhoireachd ſluaigh *tha* urram an righ; ach ann an dìth ſluaigh *tha* milleadh an uachdarain.

29 An ti a tha mall chum feirge, *tha* e pailt ann an tuigſe; ach eſan a tha dian na ſpiorad, ardaichidh e amaideachd.

30 *Is* e beatha na feola, cridhe fallain; ach *is* e lobhadh nan cnàmh, an tnù.

31 An ti a ſhàruicheas [a] am feumach, maſluichidh e a Chruith-fhear; ach bheir an ti ſin urram dha, a ghabhas truas do'n bhochd.

32 Na aingidheachd fuadaichear air falbh an t-aingidh; ach bithidh dòchas aig an fhìrein na bhàs.

33 Ann an cridhe an duine thuigſich gabhaidh gliocas tàmh; ach aithnichear *an ni a ta* 'n taobh a ſtigh nan amadan.

34 Ardaichidh fireantachd cinneach; ach *is* e am peacadh maſladh ſluaigh air bith [b].

35 *Bithidh* deadh-ghean an righ aig ſeirbhiſeach glic; ach bithidh 'fhearg na aghaidh-ſan a bhios na aobhar nàire.

CAIB. XV.

PILLIDH freagradh mìn corruich; ach dùiſgidh briathra garg fearg.

2 Cuiridh teanga nan daoine glic an céill eòlas gu ceart; ach dòirtidh beul nan amadan a mach amaideachd.

3 *Tha* sùilean an Tighearna anns gach àit, ag amharc air na droch dhaoinibh agus air na deadh dhaoinibh.

4 *Is* craobh beatha teanga fhallain [c]; ach *is* briſeadh ſpioraid ſiaradh innte.

5 Ni amadan tàir air teagaſg 'athar; ach is ciallach an ti a bheir an aire do achmhaſan.

6 Ann an tigh an fhìrein tha mòran ionmhais; ach ann an teachd-a-ſtigh an aingidh *tha* buaireas.

7 Sgaoilidh bilean nan daoine glic eòlas; ach cha *dean* cridhe nan amadan mar ſin.

8 *Is* gràineileachd do'n Tighearn ìobairt nan aingidh; ach *is* i ùrnuigh nan ionraic a thlachd.

9 *Is* gràineileachd do'n Tighearna ſlighe an aingidh; ach is ionmhuinn leis an ti a leanas an déigh fireantachd.

10 *Is* ſearbh ſmachdachadh dhaſan a thréigeas an t-ſlighe; ach gheibh eſan le'm fuathach achmhaſan, bàs.

11 *Tha* ifrinn agus ſgrios fa chomhair an Tighearna: cia mòr is mò na ſin cridheacha chloinn nan daoine?

12 Cha toigh le fear-fochaid eſan a chronaicheas e; agus a dh'ionnſuidh dhaoine glice cha d'théid e.

13 Ni cridhe ſubhach gnùis ſhuilbhir; ach le bròn a' chridhe briſear an ſpiorad.

14 Iarraidh cridhe an duine thuigſich eòlas; ach beathaichear beul nan amadan le amaideachd.

15 *Tha* uile laithean an duine thruaigh olc; ach *is* cuirm a ghnàth an cridhe ait.

16 *Is* fearr beagan le h-eagal an Tighearna, na ionmhas mòr, agus buaireas leis.

17 *Is* fearr lòn [d] do luibhibh, far am bi gràdh, na damh biadhta agus fuath leis.

18 Dùiſgidh fear feargach conſachadh; ach eſan a ta mall chum feirge, ciuinichidh e aimhreit [e].

19 *Tha* ſlighe an leiſgein [f] mar ghàradh [g] droighinn; ach *tha* rathad nan ionraic air a dheanamh réidh.

20 Ni mac glic athair aoibhneach; ach ni mac [h] amaideach tàir air a mhàthair.

21 *Is* aobhar aoibhneis amaideachd dha-ſan a tha as eugmhais gliocais [i]; ach imichidh fear na tuigſe gu dìreach.

22 Gun chomhairle, thig rùinte [j] gu neo-ni; ach ann an lìonmhoireachd chomhairleach daingnichear iad.

23 Bithidh

a *bhruthas.* b *nan ſlògh.* c *chiuin, ſhìothchail.* d *dìneir, biadh-nòin.* e *ſtri.* f *lundaire.* g *challaid.* h *duine.* i *cridhe.* Eabh. j *ſmuainte.*

23 Bithidh aoibhneas aig duine le freagradh a bheoil; agus focal na thràth, cia maith e!

24 *Tha* ſlighe na beatha ſhuas do'n duine ghlic, chum dol as o ifrinn ſhìos.

25 Sgrioſaidh an Tighearna tigh nan uaibhreach; ach daingnichidh e crìoch na bantraich.

26 *Is* gràineileachd do'n Tighearna ſmuainte dhroch dhaoine; ach *is* briathra taitneach *briathra* nam fiorghlan.

27 Bheir eſan buaireas air a thigh féin, a tha ſanntach air buannachd; ach bithidh eſan le'm fuathach duaisbhratha, beo.

28 Smuainichidh cridhe an fhìrein cionnus is còr dha freagairt; ach dòirtidh beul nan aingidh a mach droch nithe.

29 *Tha*'n Tighearna fada o na h-aingidh; ach éiſdidh e ri h-ùrnuigh nam fìrean.

30 Ni ſolus nan sùl an cridhe aoibhneach; agus bheir deadh chliu ſmior do na cnàmhaibh.

31 Gabhaidh a' chluas a dh'éiſdeas ri achmhaſan na beatha, còmhnuidh am meaſg nan daoine glic.

32 An ti a dhiùltas fòghlum, ni e tàir air 'anam féin; ach an ti a dh'éiſdeas ri achmhaſan, gheibh e tuigſe [a].

33 *Is* e eagal an Tighearna fòghlum a' ghliocais; agus roimh urram *tha* irioſlachd.

CAIB. XVI.

THA deaſachadh cridhe duine, agus freagradh na teanga o'n Tighearna [b].

2 *Tha* uile ſhlighean duine glan na ſhùilibh féin; ach cothromaichidh [c] an Tighearna na ſpioraid.

3 Tabhair t'oibre thairis do'n Tighearn, agus daingnichear do ſmuainte.

4 Rinn an Tighearna gach ni air a ſhon féin, agus mar an ceudna an t-aingidh air ſon latha [d] an uilc.

5 *Is* gràineileachd do'n Tighearna gach neach a ta uaibhreach na chridhe: *ge d'iadhadh* làmh mu làimh, cha bhi e gun pheanas [e].

6 Trìd tròcair agus fìrinn glanar euceart; agus trìd eagail an Tighearna tréigear an t-olc.

7 An uair a ghabhas an Tighearna tlachd ann an ſlighibh duine, bheir e air a naimhdibh féin a bhi ann an sìth ris.

8 *Is* fearr beagan le h-ionracas, na teachd-a-ſtigh mòr gun cheartas.

9 Smuainichidh cridhe duine air a ſhlighe; ach is e'n Tighearn a ſtiuireas a cheumanna.

10 *Tha* faiſneachd [f] air bilibh an righ: ann am breitheanas cha dean a bheul euceart.

11 *Is* leis an Tighearna toimhſean agus meidhean ceart [g]: *is* iad uile chlacha-tomhais a' mhàla [h] 'obairſan.

12 *Is* gràineileachd do righribh aingidheachd a dheanamh; oir le h-ionracas daingnichear an righchaithir.

13 *Is* taitneach do righribh bilean an ionracais, agus is ionmhuinn leo eſan a labhras *nithe* cearta.

14 Tha fearg righ mar theachdairean bàis; ach ciuinichidh [i] duine glic i.

15 Ann an ſolus gnùiſe righ *tha* beatha; agus *tha* a dheadh-ghean mar neul an uiſge dheireannaich.

16 Cia mòr *is* fearr gliocas fhaotainn [j] na òr, agus *is* ròghnuiche tuigſe fhaotainn na airgiod?

17 *Is* e rathad [k] mòr nan ionraic an t-olc a thréigfinn: an ti a choimhideas a ſhlighe, gleidhidh e 'anam.

18 Roimh ſgrios *théid* uabhar; agus roimh leagadh ſpiorad ardanach.

19 *Is* fearr a bhi do ſpiorad iriosal maille riu-ſan a ta ciuin, na a' chreach a roinn maille ris na h-uaibhrich.

a *cridhe.* Eabh. b Feudaidh *duine a ſmuaintean ullucbadh; ach o'n Tighearna* tha *freagradh na teanga.* c *meaſaidh* d *là, lò.* e *cha mheaſar neo-chiontach e, cha dthéid e ſaor as.* f *fàiſtineachd.* g *a' cheartais.* Eabh. h *a' bhuilg.* i *ceannſaichidh.* j *a choſnadh.* k *ſlighe.*

20 An ti a ni gnothuch gu tuigſeach, gheibh e maith: agus an ti a dh'earbas as an Tighearn, *is* ſona e.

21 Goirear duine crìonna [a] do'n ti a tha glic na chridhe, agus meudaichidh milſe nam bìle fòghlum.

22 *Is* tobar beatha an tuigſe do'n ti aig am bheil i; ach *is* amaideachd fòghlum nan amadan.

23 Ni cridhe an duine ghlic a bheul tuigſeach, agus air a bhilibh cuiridh e fòghlum.

24 Mar chìr-mheala *tha* briathra taitneach, milis do'n anam, agus nan ſlàinte do na cnàmhaibh.

25 Tha ſlighe ann a tha ceart ann an ſealladh duine; ach *is* iad ſlighean a' bhàis a crìoch.

26 An ti a ſhaothraicheas, ſaothraichidh e air a ſhon féin; oir iarraidh a bheul air e.

27 Cladhaichidh an duine neo-dhiadhuidh olc; agus air a bhilibh *bithidh* mar theine loiſgeach.

28 Togaidh [b] an duine fiar [c] aimhreit; agus dealaichidh fear na cogarſaich cairde sònraichte.

29 Meallaidh fear an fhoirneirt a choimhearſnach, agus bheir e air imeachd air ſlighe nach *'eil* maith.

30 Druididh e a ſhùilean chum ſmuaineachadh air nithibh fiara; a' gluaſad [d] a bhilean, bheir e olc gu crìch.

31 *Is* coron glòire an ceann liath, *a* gheibhear ann an ſlighe an ionracais.

32 *Is* fearr an ti a ta mall chum feirge na gaiſgeach, agus an ti a riaghlas a ſpiorad féin na eſan a ghlacas ard-bhaile [e].

33 Anns an uchd tilgear an crannchur; ach is ann o'n Tighearna *a tha* a riaghladh gu léir.

CAIB. XVII.

IS fearr greim tioram, agus ſuaimhneas leis, na tigh làn do ìobairtibh [f] *maille ri* h-aimhreit.

2 Riaghlaidh ſeirbhiſeach tuigſeach os-cionn a' mhic a bhios na aobhar nàire; agus am meaſg nam bràthar roinnidh e an oighreachd [g].

3 *Tha* a' phoit-ghlanaidh air ſon an airgid, agus an àmhuinn [h] air ſon an òir; ach dearbhaidh an Tighearna na cridheacha.

4 Bheir an droch dhuine an aire do bhilibh na h-euceirt [i]; éiſdidh am breugaire ri teanga an aimhleis.

5 An ti a ni fanoid air a' bhochd, bheir e maſladh d'a Chruith-fhear: an ti a ni gairdeachas ri dòruinn [j], cha bhi e neo chiontach [k].

6 *Is* iad clann an cloinne coron fheann daoine; agus *is* iad an aithriche urram [l] cloinne.

7 Cha *'n'eil* cainnt na mòralachd [m] ciatfach do'n amadan: nach lugha na ſin *a tha* bilean na bréige *ciatfach* do dhuine mòr [n]!

8 *Is* clach uaſal tiodhlacadh ann an sùilibh an ti aig am bi e [o]; ge b'e taobh gus an tionndaidh e, ſoirbhichidh leis.

9 An ti a cheileas cionta, coſnaidh [p] e gràdh; ach eſan a dh'aithriſeas ni, dealaichidh e cairde.

10 Drùthaidh achmhaſan ni's mò air duine glic, na ceud buille air amadan.

11 Is ceannairc a mhàin a dh'iarras an droch dhuine; uime ſin cuirear teachdaire an-iochdmhor na aghaidh.

12 Tachaireadh math-ghamhuin air call a cuilean air duine, ni's luaithe na amadan na amaideachd.

13 Ge b'e dh'ìocas olc air ſon maith, cha dealaich olc r'a thigh.

14 *Mar gu'n* leigeadh neach a mach uiſgeacha, *tha* toiſeach aimhreite; uime ſin mu'n ſgaoil [q] a' chomh-ſtri, leig dhìot i.

15 *Tha*'n ti a ſhaoras an t-aingidh, agus an ti a dhìteas am firean, araon nan gràineileachd do'n Tighearn.

16 C'ar

a *ciallach, tuigſeach.* b *Dùiſgidh, sìol-chuiridh.* c *coirbte, anamèineach.* d *gluaſachd.* e *cathair.* f *do nithibh matha, do dheadh ghleus.* g *bithidh cuibhrionn aige do'n oighreachd.* h *fhuirneis.* i *bhilibh cealgach, breugach.* j *ſgrios neach eile.* k *gun pheanas.* l *uaill, glòir.* m *cainnt òirdheirc.* n *uaſal, ard.* o *a gheibh e.* p *iarraidh.* q *mu'm meaſgar.*

16 C'ar ſon *a ta* luach ann an làimh amadain a dh'fhaotainn gliocais,[a] agus e gun rùn[a] aige?

17 Anns gach àm gràdhaichidh caraid, agus rugadh bràthair fa chomhair teinn[b].

18 *Is* duine gun tuigſe a bhuaileas a làmh, a théid an urras am fianuis[c] a charaid.

19 Gràdhaichidh eſan peacadh, a ghràdhaicheas aimhreit: an ti a dh'ardaicheas a dhorus, iarraidh e ſgrios.

20 An ti a ta fiar na chridhe, cha'n fhaigh e maith; agus an ti a ta lùbach[d] na theangaidh, tuitidh e ann an olc.

21 An ti a ghineas amadan, *ginidh ſe e* chum a dhoilgheis féin; oir cha bhi ſòlas aig athair amadain.

22 Ni cridhe ſubhach maith *mar* leigheas; ach tiormaichidh ſpiorad briſte na cnàmha.

23 Bheir droch dhuine tiodhlacadh as 'uchd, a chlaonadh ſhlighean a' bhreitheanais.

24 Fa chomhair[e] an duine thuigſich *tha* gliocas; ach *tha* sùilean amadain ann an iomall na talmhainn.

25 *Tha* am mac amaideach na dhoilgheas d'a athair, agus na ſhearbhas dh'iſe a rug e.

26 Mar an ceudna cha *'n'eil* e maith peanas a dheanamh air an fhìrean, *no* ard uaiſlean a bhualadh air ſon ceartais.

27 Caomhnaidh an ti aig am bheil eòlas a bhriathran; agus bithidh fear na tuigſe ciuin[f] na ſpiorad.

28 Meaſar an t-amadan féin, 'nuair a bhios e na thoſd, na dhuine glic; agus an ti a dhruideas a bhilean, na dhuine tuigſeach.

CAIB. XVIII.

A REIR a thograidh iarraidh eſan a ſgaras e féin, agus buinidh e ris gach gliocas.

2 Cha 'n'eil tlachd aig an amadan ann an tuigſe, ach gu'm foillſicheadh a chridhe e féin.

3 'Nuair a thig an t-aingidh, thig mar an ceudna tarcuis, agus maille ri mi-chliu maſladh.

4 *Mar* uiſgeacha domhain *tha* briathra beoil duine; *mar* ſhruth ſgaoilteach *tha* tobar a' ghliocais.

5 Cha *'n'eil* e maith gabhail ri gnùis[g] an droch dhuine, chum am fìrean a thilgeadh bun os cionn ann am breitheanas.

6 Théid bilean an amadain ann an aimhreit, agus gairmidh a bheul air buillibh.

7 *Is* e beul amadain a ſgrios, agus *is* iad a bhilean ribe 'anama féin.

8 *Tha* briathra fir na cogarſaich[h] mar lotaibh[i], agus théid iad sìos gu ionadaibh ìochdarach a' chuim.

9 Mar an ceudna an ti ſin a ta leaſg na obair, *is* bràthair e do'n mhillteir mhòr[j].

10 *Is* tùr làidir ainm an Tighearna: ruithidh am fìrean d'a ionnſuidh, agus bithidh e tèaruinte[k].

11 *Is* e beartas an duine ſhaibhir a chathair[l] làidir, agus mar bhalladh ard na bheachd féin.

12 Roimh ſgrios bithidh cridhe duine uaibhreach, agus roimh urram *bithidh* irioſlachd.

13 An ti a bheir freagradh ann an cùis mu'n cluinn e *i*, *is* amaideachd agus nàire dha e.

14 Giùlainidh ſpiorad duine a laigſe: ach cò is urrainn ſpiorad briſte[m] a ghiùlan.

15 Gheibh cridhe an duine chrionna[n] eòlas; agus iarraidh cluas nan daoine glic eòlas.

16 Ni tiodhlacadh duine àite dha, agus bheir e 'n làthair dhaoine mòra e.

17 *Saoilear* gu bheil a' chòir aigeſan, a tha air thoiſeach ann an agairt a chùiſe; ach thig a choimhearſnach, agus rannſaichidh ſe e.

18 Bheir an crannchur air aimhreitibh ſgur, agus roinnidh e eadar na cumhachdaich.

19 *Tha* bràthair air a bhroſnachadh *ni's cruaidh r'a choſnadh* na cathair

a *chridhe.* Eabh. b *àmhghair.* c *air ſon.* d *fiar, carach.* e *Ann an gnùis.* f *irioſal, oirdheirc.* g *pearſa.* h *cogaruich.* i *mar bhriathraibh tlàth.* j *do ſhear na h-anacaitheadh.* k *ardaichear e.* l *a mhòr-bhaile.* m *brùite, leònta.* n *chiallaich, thuigſich.*

cathair[a] làidir; agus *tha* aimhreit-
ean *bhràithre* mar chrannaibh lùch-
airte[b].
20 Le toradh béil duine lìonar a
bhrù; agus le pifeach[c] a bhilean
sàsuichear e.
21 *Tha* bàs agus beatha ann an
cumhachd[d] na teanga; agus ithidh
efan leis an ionmhuinn i d'a toradh.
22 An ti a dh'amaifeas air mnaoi,
amaifidh e air ni maith, agus gheibh
e deadh-ghean o'n Tighearn.
23 Le h-impidhibh[e] labhraidh an
duine bochd; ach freagraidh an duine
faibhir gu garbh.
24 Feumaidh fear aig am bi caird-
ean, cairdeas a nochdadh; agus tha
caraid ann a leanas ni's dlùithe na
bràthair.

C A I B. XIX.

IS fearr am bochd a ghluaifeas na
ionracas, na efan a tha fiar na
bhilibh[f], agus e na amadan.
2 Mar an ceudna cha mhaith do'n
anam *a bhi* as eugmhais eòlais; oir
an ti a ni cabhag le 'chafaibh, tuif-
lichidh e[g].
3 Claonaidh amaideachd duine a
fhlighe, agus an aghaidh an Tighear-
na ni a chridhe gearan[h].
4 Ni faibhreas mòran cha'rde; ach
fgarar am bochd o a charaid[i].
5 Cha bhi fianuis bhreugach gun
pheanas[j]; agus *an ti a* labhras breug-
an, cha dthéid e as.
6 Iarraidh mòran deadh-ghean an
duine mhòir[k]; agus *bithidh* gach
duine na charaid do fhear nan tiodh-
lac[l].
7 Bheir uile bhràithrean an duine
bhochd fuath dha: nach mò na fin a
théid a chairdean am fad uaith? lean-
aidh e *iad le* briathraibh, *ach tha*
iad a dhìth air[m].
8 An ti a gheibh gliocas[n], gràdh-
aichidh e 'anam féin; an ti a ghleidh-
eas tuigfe, gheibh e maith.
9 Cha bhi fianuis bhreugach gun
pheanas, agus fgriofar an ti a labhras
breugan.
10 Cha 'n'eil aoibhneas iomchuidh
do amadan; is lugha na fin do fheir-
bhifeach riaghladh os cionn uachd-
arana.
11 Ni tuigfe duine e mall chum
feirge, agus *is i* a ghlòir amharc
thairis air eucoir.
12 Mar bheucaich leòmhain *tha*
fearg righ; ach mar dhrùchd air feur
tha a dheadh-ghean.
13 *Is* aobhar doilgheas d'a athair
mac amaideach; agus mar fhìor-
fhileadh uifge *tha* aimhreitean mnà.
14 *Is* iad oighreachd aithriche tigh
agus faibhreas; ach is ann o'n Tigh-
earn *a tha* bean chiallach[o].
15 Bheir leifge air *duine* tuiteam
ann an trom chodal; agus fuilingidh
an t-anam dìomhanach ocras.
16 An ti a ghleidheas an àithne,
gleidhidh e 'anam féin; ach an ti a
ni tàir air[p] a fhlighibh, gheibh e
bàs.
17 An ti a ghabhas truas do'n
bhochd, bheir e air iafachd[q] do'n
Tighearn; agus an ni a bheir e uaith,
ìocaidh e dha a rìs.
18 Smachdaich do mhac am feadh
a ta dòchas *d'a thaobh*, agus na
caomhnadh t'anam air fon a ghear-
ain[r].
19 Fuilingidh fear na feirge mòir
peanas; oir ma fhaoras tu *e*, feum-
aidh tu dheanamh a rìs.
20 Eifd ri comhairle, agus gabh
fòghlum, chum gu'm bi thu glic ann
ad *laithibh* deireannach[f].
21 *Is* lìonmhor na fmuaintean
ann an cridhe duine; ach is i comh-
airle an Tighearna a fheafas.
22 *Is* e tlachd duine a chaoimh-
neas; agus *is* fearr duine bochd na
breugaire.
23 *Theòraichidh* eagal an Tigh-
earna gu beatha, agus gheibh efan a
bhios

a *mòr-bhaile.* b *tùir, dùin, daingnich.* c *fàs, toradh.*
d *làimh.* Eabh. e *afluchadh.* f *fhlighibh.* g *théid e air feacharan, peacaichidh e.* h *bithidh fearg air a chridhe.* i *choimhearfnach.*
j *neo-chiontach.* k *a' phrionnfaidh, an uachdarain.* l *dhafan a bheir tiodhlacan feachad.* m tha *iad gun cifeachd.* n *cridhe.* Eabh.
o *thuigfeach.* p *a dhearmadas, nach toir an aire do.* q *an coingheall.*
r *ach na tog t'anam chum a mhilleadh.* f Faic. Deut. Caib. VIII. r. 16.

bhios air a lionadh *leis* fois; cha'n fhiosraichear le h-olc e.

24 Folaichidh an leisgein a làmh *na* bhrollach[a]; uiread as chum a bheil cha tabhair e i a rìs.

25 Buail fear-fochaid, agus bithidh an duine neo-gheur air fhaicill; agus cronaich duine tuigseach, agus tuigidh e eòlas.

26 An ti a chreachas[b] 'athair, agus a dh'fhògras *a* mhàthair, *is* mac a bheir nàire agus masladh e.

27 Sguir, a mhic, do éisdeachd ris an teagasg, a chuireas air seacharan o bhriathraibh an eòlais.

28 Ni fianuis aingidh[c] tarcuis air breitheanas; agus sluigidh beul dhroch dhaoine euceart.

29 Dh'ulluicheadh breitheanais do luchd-fochaid, agus buillean do dhruim nan amadan.

CAIB. XX.

IS cealgach an ni fion[d], *is* buaireasach an ni deoch làidir; agus ge b'e neach a mheallar leo, cha 'n eil e glic.

2 Mar bheucaich leòmhain *tha* eagal righ: an ti a bhrosnuicheas e gu feirg, peacaichidh e *ar aghaidh* 'anama féin.

3 *Is* urramach an ni do fhear fantuinn[e] o aimhreit; ach measgaidh gach amadan *innte*.

4 Air son an fhuachda[f] cha treabh an leisgein; iarraidh e déirc anns an fhoghara, ach cha'*n fhaigh e*.

5 Mar uisge domhain *tha* comhairle ann an cridhe duine, ach tairngidh fear na tuigse mìos i.

6 Gairmidh mòran dhaoine gach aon diubh a mhaitheas féin; ach cò a gheibh duine fìrinneach?

7 Gluaisidh am fìrean na ionracas: son a *bithidh* a mhic na dhéigh.

8 'Nuair a shuidheas righ air caithir bhreitheanais, sgaoilidh[g] e gach olc le 'shùilibh.

9 Cò a dh'fheudas a ràdh, Ghlan mi mo chridhe, tha mi glan o m' pheacadh?

10 *Aon* chothrom agus cothrom *eile*, *aon* soitheach-tomhais agus soitheach-tomhais[h] *eile*, *is* gràineileachd iad araon do'n Tighearn.

11 Aithnichear eadhon leanabh le a bheusaibh, am *bi* a dheanadas glan, agus am *bi* e ceart.

12 A' chluas a chluinneas, agus an t-sùil a chi, rinn an Tighearn iad araon.

13 Na gràdhaich codal, air eagal gu'n dthig thu gu bochdainn; fosgail do shùilean, agus sàsuichear thu le h-aran.

14 *Is* olc, *is* olc *e*, ars' an ceannuiche; ach an uair a dh'imicheas e roimhe, an sin ni se uaill.

15 Tha òr ann, agus mòran do chlachaibh luachmhor[i]; ach *is* iad bilean an eòlais an seud a's luachmhoire.

16 Gabh eudach an ti a chaidh an urras air coigreach, agus air son bana-choigrich gabh an geall uaith.

17 *Is* milis le duine aran na ceilge; ach na dhéigh sin lionar a bheul do ghaineamh[j].

18 Daingnichear gach tionsgnath le comhairle; agus le comhairle ghlic dean cogadh.

19 A' foillseachadh nithe dìomhair, imichidh fear-tuaileis mu'n cuairt[k]: uime sin ris-san a ni miodal le 'bhilibh[l] na biodh gnothuch agad.

20 Ge b'e mhalluicheas 'athair, no a mhàthair, cuirear as a lòchran ann an duibhre dorchadais.

21 Feudar oighreachd fhaotainn gu luath an toiseach; ach cha bhi a crìoch beannuichte.

22 Na h-abair, Iocaidh mi olc air son uilc: feith air an Tighearn, agus saoraidh e thu.

23 *Is* gràineileachd do'n Tighearn *aon* chlach-thomhais agus clach-thomhais

a *aslaich, asgail.* b *a mhillcas, a chlaoidheas.* c *fianuis do Bhelial.* Eabh. d Is *fear-magaidh am fion.* Eabh. e *sgur.* f *a' gheamhraidh.* g *sgapaidh.* h *clach agus clach, ephah agus ephah.* Eabh. Faic. Deut. Caib. XXV. r. 14. i *neamhnuidibh; peninim.* Eabh. j *ghairbheal, gharbh ghaineamh.* k Faic Caib. XI. r. 13. l *a tha bras le 'bhilibh.*

thomais *eile*, agus cha *'n'eil* meidhean cealgach maith.

24 Is ann o'n Tighearn *a tha* ceumanna duine; oir cionnus a thuigeas duine a ſhlighe féin?

25 *Is* ribe e do dhuine itheach do'n ni a ta naomha, agus an déigh bhòid fioſrachadh [a].

26 Sgapaidh righ glic na h-aingidh, agus bheir e air an roth teachd thairis orra.

27 *Is* e ſpiorad [b] duine lòchran an Tighearna, a' ſgrùdadh [c] gach ionaid an taobh a ſtigh do'n chom.

28 Gleidhidh tròcair agus firinn righ; ſeadh, le tròcair daingnichear a righ-chaithir.

29 *Is* e urram dhaoine òga an neart; agus *is* e maiſe ſheann daoine, an ceann liath.

30 Glanaidh guirme [d] cneidhe olc; mar ſin *glanaidh* buillean na bheil an taobh a ſtigh do'n chom [e].

CAIB. XXI.

MAR ſhruthaibh uiſgeacha *tha* cridhe righ ann an làimh an Tighearna: ge b'e taobh is àill leis, tionndaidhidh ſe e.

2 *Tha* uile ſhlighean duine ceart na ſhùilibh féin; ach meaſaidh an Tighearna na cridheacha.

3 Ceartas a dheanamh agus breitheanas, *is* ròghnuiche leis an Tighearna na ìobairt.

4 *Is* peacach ſealladh ard, agus cridhe uaibhreach, lòchran nan aingidh [f].

5 *Bheir* gu deimhin ſmuaintean an duine dhìchiollaich gu pailteas; ach *thig* gach neach a ta gun fhoighidin [g] da rìreadh gu dìth.

6 Ionmhaſan fhaotainn le teangaidh bhreugaich, *is* dìomhanas e air a luaſgadh a null agus a nall aig an droing a dh'iarras am bàs.

7 Sgrioſaidh reubainn nan aingidh iad, a chionn gu'n diùlt iad breitheanas a dheanamh.

8 Fiar agus coimheach tha ſlighe duine; ach *a thaobh* an fhìor-ghloin, *tha* a dheanadas dìreach.

9 Is fearr còmhnuidh a ghabhail ann an oiſinn mullaich tighe, na maille ri mnaoi aimhreitich ann an tigh farſaing [h].

10 Miannaichidh anam an aingidh olc: cha'n fhaigh a choimhearſnach deadh-ghean na ſhùilibh.

11 'Nuair a nithear peanas air fear-fochaid, fàſaidh am baoghalta [i] glic; agus an uair a dh'fhòghlumar an duine glic, gheibh e eòlas.

12 Bheir am firean an aire gu glic do thigh an aingidh: tilgear [j] na h aingidh bun os cionn air ſon *an* aingidhachd.

13 An ti a dhruideas a chluas ri glaodh an duine bhochd, glaodhaidh e féin mar an ceudna, ach cha'n éiſdear ris.

14 Ciuinichidh [k] tiodhlacadh ann an dìomhaireachd fearg; agus duais ſan uchd, corruich dhian.

15 *Is* aoibhneas do'n fhìrean breitheanas [l] a dheanamh; ach *thig* ſgrios air [m] luchd-deanamh na h-euceirt.

16 An duine a théid air ſeacharan o ſhlighe na tuigſe, fanaidh e ann an coimhthional nam marbh.

17 *Bithidh* e'an na dhuine bochd a ghràdhaicheas sògh [n]; an ti a ghràdhaicheas fion agus oladh, cha'n fhàs e ſaibhir.

18 Na éiric air ſon an fhìrein *bithidh* an t-aingidh, agus air ſon nan ionraic an duine fealltach [o].

19 *Is* fearr còmhnuidh a ghabhail ann am fàſach [p], na maille ri mnaoi aimhreitich agus fheargaich.

20 *Tha* ionmhas taitneach agus oladh ann an àite-còmhnuidh an duine ghlic; ach caithidh an t-amadan e.

21 An ti a leanas fireantachd agus

a *dàil a chur nan coimhlionadh.* b *anam.* c *rannſachadh, fioſrachadh.* d *ſalchar, bréine.* e *olc a' chridhe.* f agus *treabhadh nan aingidh.* g *dìan, cabhagach.* h *comunn, comh-chuideachd.* i *neo-ghleur, ſimplidh.* j *tilgidh* Dia. k *Traoghaidh, mùchaidh.* l *ceartas.* m is *aobhar uambais e do.* n *aoibhneas, aighear.* o *ciontach.* p *an tìr fhàſail.* Eabh.

tròcair, gheibh e beatha, fìreantachd, agus urram [a].

22 Do chathair [b] nan daoine treun ſtreapaidh an duine glic, agus leagaidh e sìos neart a h-earbſaidh.

23 An ti a ghleidheas a [bh]eul agus a theanga, gleidhidh e [a] anam o theanndachdaibh.

24 Fear magaidh uaibhreach, ardanach *is* ainm dhaſan, a ghiùlaineas e féin ann an corruich an uabhair.

25 Marbhaidh miann an leiſgein e; oir diùltaidh a làmhan obair a dheanamh.

26 Air feadh an latha ſanntaichidh e gu mòr; ach bheir am fìrean uaith, agus cha chaomhain e.

27 *Is* gràineileachd ìobairt nan aingidh: cia mòr is mò, 'nuair a bheirear ſuas i le droch rùn?

28 Sgrioſar fianuis bhreugach; ach an ti a dh'éiſdeas, labhraidh e chum *deadh* chrìche [c].

29 Cruaidhichidh an droch dhuine 'eudan; ach ni eſan a ta ionraic a ſhlighe dìreach [d].

30 Cha *'n'eil* gliocas, no tuigſe, no comhairle ann, an aghaidh an Tighearna.

31 Deaſaichear an t-each fa chomhair latha a' chatha, ach is ann o'n Tighearn *a tha* tèaruinteachd [e].

CAIB. XXII.

IS ròghnuiche ainm maith na mòr ſhaibhreas, agus deadh-ghean na airgiod agus òr.

2 Coinnichidh am beartach [f] agus am bochd a chéile: *is* e'n Tighearn a rinn iad gu léir.

3 Chi an duine crìonna [g] olc, agus folaichidh ſe e féin; ach gabhaidh na daoine baoghalta [h] air an aghaidh, agus fuilingidh iad peanas.

4 Trìd irioſlachd [agus] eagail an Tighearna, *thig* ſaibhreas, agus urram, agus beatha.

5 *Tha* droighionn agus ribeacha ann an ſlighe an duine fhiair: an ti a ghleidheas 'anam féin, théid e am fad uatha.

6 Teagaiſg leanabh a thaobh na ſlighe air an còir dha imeachd; agus an uair a bhios e ſean, cha tréig e i.

7 Riaghlaidh am beartach os cionn nam bochd; agus *bithidh* an ti a ghabhas an coingheall [i] na ſheirbhiſeach dha-ſan a bheir an coingheall.

8 An ti a ſhìol-chuireas euceart, buainidh e dìomhanas; agus caithear [j] ſlat 'fheirge.

9 Beannuichear eſan aig am bheil sùil fhial [k]; oir bheir e d'a aran do'n bhochd.

10 Tilg a mach am fear-fochaid, agus théid cònſachadh a mach; ſeadh, ſguiridh comhſtri agus maſladh.

11 An ti le's an ionmhuinn glaine cridhe, *is* taitneach a bhilean, *bithidh* [l] an righ na charaid aige.

12 Coimhididh sùilean an Tighearna eòlas; ach tilgidh e bun os cionn briathran a' chiontaich.

13 Their an leiſgein, *Tha* leòmhan am muigh, anns na ſràidibh marbhar mi.

14 *Is* ſlochd domhain beul bhan coimheach; an ti a's gràineil [m] leis an Tighearna, tuitidh e ann.

15 *Tha* amaideachd ceangailte ann an cridhe leinibh; ach cuiridh ſlat an ſmachdachaidh fad uaith i.

16 An ti a ſhàruicheas am bochd a mheudachadh a *mhaoin* féin, agus an ti a bheir do'n t-ſaibhir, *thig* e gu deimhin gu h-uireaſbhuidh.

17 Aom do chluas, agus éiſd ri briathraibh dhaoine glice, agus ſocraich do chridhe air m'eòlas ſa:

18 Oir *is* taitneach *an ni e*, ma ghleidheas tu iad ann ad chom [n], *ma* bhitheas iad araon deas air do bhilibh.

19 Chum gu'm biodh t'earbſa as an Tighearna, nochd mi dhuit an diugh, eadhon dhuitſe.

20 Nach do ſcrìobh mi dhuit nithe òirdheirc,

a *glòir.* b *ard bhaile, bhaile daingnichte.* c *a ghnàth, am feaſd.* d *deaſaichidh eſan a ta ionraic a ſhlighe.* e *ſaorſa, buaidh.* f *ſaibhir.* g *ciallach, geur, léirſinneach.* h *neo-gheur, ſimplidh.* i *air iaſachd.* j *failnichidh.* k *mhaith, thruacanta.* l air ſon *gràis no deadh-ghean a bhilean* bithidh, &c. m *fuathach.* n *an taobh a ſtigh dhìot.* o *dh'fhoillſich.*

òirdheirc, ann an comhairlibh, agus
an eòlas?
21 Chum gu nochdainn duit cinnte
bhriathar na firinn; chum gu freag-
radh tu briathra na firinn dhoibhſan
a chuireas fios a t'ionnſuidh?
22 Na creach am bochd a chionn
gu *bheil* e bochd, agus na sàruich an
truaghan anns a' gheata:
23 Oir tagraidh an Tighearn an
cùis, agus millidh e anam na muinn-
tir a mhilleas iad.
24 Na dean fuas cairdeas ris an
fheargach, agus maille ri fear na
h-ard chorruich na h-imich;
25 Air eagal gu'n ionnſuich thu a
ſhlighean, agus gu'm faigh thu ribe
do t'anam.
26 Na bi dhiubhſan a bhuaileas
an làmhan [a], *no* dhiubhſan a théid an
urras air ſon fhiach.
27 Mur 'eil *ni* agad gu dìoladh,
c'ar ſon a bheirteadh [b] uait do leaba
a ta fodhad.
28 Na h-atharraich an ſeann
chomhara-crìche, a ſhuidhich t'aith-
riche.
29 *Ma* chi thu fear a bhios eath-
lamh [c] na ghnothuichibh, ſeaſaidh
e 'n làthair righre, cha ſeas e an làth-
air dhaoine ìoſal.

CAIB. XXIII.

NUAIR a ſhuidheas tu a dh'ith-
eadh maille ri h-uachdaran,
thoir an ro aire do na *bheil* fa d'
chomhair;
2 Agus cuir ſgian ri d' ſgornan,
ma's duine thu air do thabhairt do
chraos.
3 Na miannaich a nithe milſe [d];
oir *is* biadh mealltach iad.
4 Na ſaothraich gu fàs ſaibhir, leig
dhìot do ghliocas féin.
5 An cuir thu do ſhùilean air an
ni nach *'eil* ann; oir gu cinnteach
ni *ſaibhreas* ſgiathan dha féin, mar
iolaire *a* dh'itealaicheas chum nan
nèamh [e].
6 Na h-ith aran an *ti aig am bheil*
droch ſhùil, agus na miannaich a
nithe milſe.

7 Oir mar a ſmuainicheas e na an-
am, mar ſin *bithidh* e: Ith agus òl,
their e riut, ach cha *bhi* a chridhe
leat.
8 An greim *a* dh'ith thu, ſgeith-
idh tu a nìos, agus caillidh tu do
bhriathra milſe.
9 Na labhair ann an cluaſaibh am-
adain; oir ni e tàir air gliocas do
bhriathar.
10 Na h-atharraich an ſeann
chomhara-crìche, agus air achaibh
nan dìlleachdan na bris a ſteach:
11 Oir *tha* am fear-ſaoraidh cumh-
achdach; tagraidh e an cùis a't'
aghaidh [f].
12 Aom do chridhe ri fòghlum,
agus do chluaſan ri briathraibh eòl-
ais.
13 Na cum ſmachdachadh o lean-
abh; oir *ma* bhuaileas tu e le ſlait,
cha'n fhaigh e bàs.
14 Buailidh tu e le ſlait, agus
ſaoraidh tu 'anam o ifrinn [g].
15 A mhic, ma bhios do chridhe
glic, ni mo chridhe-ſa gairdeachas,
eadhon mo chridhe-ſa:
16 Seadh, ni m'airnean gairdeach-
as, 'nuair a labhras do bhilean nithe
cearta.
17 Na gabhadh do chridhe farmad
ri peacachaibh: ach *bi* an eagal an
Tighearna air feadh an là uile.
18 Oir gu deimhin tha crìoch ann,
ach [h] cha ghearrar as do dhòchas.
19 Eiſd thuſa, a mhic, agus bi
glic, agus treòraich do chridhe anns
an t-ſlighe.
20 Na bi am meaſg phòiteirean
fìona, am meaſg luchd comh-ithidh
geòcach feòla.
21 Oir thig am miſgeir agus an
geòcaire gu bochdainn; agus eud-
aichidh turra-chodal [i] *duine* le luid-
eagaibh.
22 Eiſd ri t'athair a ghin thu, a-
gus na dean tàir air do mhàthair
'nuair a bhios i aoſda.
23 Ceannaich an fhìrinn, agus na
reic i; *mar an ceudna* gliocas, agus
fòghlum, agus tuigſe.
24 Ni athair an fhìrein mòr ghair-
deachas;

a *a bheir an làmhan ſeachad.* b *a bheireadh* neach. c *grad, deas.*
d *annaſach.* e *nan ſpeur, nan neul.* f *riut.* g *o'n uaigh, o'n bhàs.* h *luigheachd ann, agus.* i *codaltachd, tuindaireachd, leiſge.*

deachas; agus ni eſan a ghineas *mac* glic, aoibhneas ann.

25 Ni t'athair agus do mhàthair aoibhneas, agus ni iſe a rug thu gairdeachas.

26 A mhic, thoir dhomhſa do chridhe, agus coimhideadh do ſhùilean mo ſhlighean.

27 Oir *is* ſtaing [a] dhomhain ſtrìopach, agus *is* ſlochd cumhang banachoigreach.

28 Tha i mar an ceudna ri feallfheitheamh mar chreachadair [b], agus cuiridh i luchd-dòbheirt [c] an lìonmhoireachd am meaſg dhaoine.

29 Cò d'*am buin* truaighe? cò *a ta* ri bròn [d]? cò aig *am bheil* cònſachadh? [e] cò *a ta* ri gearan? cò aig *am bheil* lotan gun aobhar? cò aig *am bheil* deirge ſhùl?

30 Iadſan a dh'fhanas fad aig an fhìon, iadſan a théid a dh'iarraidh fìona meaſgta.

31 Na h-amhairc thuſa air an fhìon an uair a bhios e dearg, 'nuair a bheir e 'dhath ſa' chupan, a théid e sìos dìreach [f].

32 Ma dheireadh teumaidh e mar nathair, agus mar an righ-nathair [g] sàthaidh e 'ghath.

33 Amhaircidh do ſhùilean air mnaibh coimheach, agus cuiridh do chridhe an céill nithe claona.

34 Agus bithidh tu mar an ti a luidheas sìos ann am meadhon na fairge, no mar eſan a luidheas air bàrr croinn-ſiuil.

35 Bhuail iad mi, *their thu*, agus cha robh mi tinn; ghabh iad orm, agus cha do mhothaich mi: c'uin a dhùiſgeas mi? an ſin iarraidh mi fathaſt e.

CAIB. XXIV.

NA gabh farmad ri droch dhaoinibh, agus na miannaich a bhi maille riu.

2 Oir ſmuainichidh an cridhe air milleadh, agus labhraidh am bilean mu dhonas [h].

3 Le gliocas togar tìgh, agus le tuigſe daingnichear e;

4 Agus le h-eòlas lìonar a ſheòmraiche leis gach ſaibhreas luachmhor agus taitneach.

5 *Tha*'n duine glic na *dhuine* làidir, agus tha fear an eòlais treun an neart.

6 Oir le comhairle ghlic ni thu do chogadh; agus ann an lìonmhoireachd chomhairleach *tha* tèaruinteachd.

7 *Tha* gliocas ard air ſon amadain; anns a' gheatadh na foſgladh e a bheul.

8 Eſan a ſmuainicheas air [i] olc a dheanamh, goirear fear nan droch innleachd dheth.

9 *Is* peacadh ſmuainte na h-amaideachd; agus *is* e fear na fochaid gràin dhaoine.

10 *Ma* dh'fhannaicheas [j] tu ann an latha an àmhghair [k], *is* beag do neart.

11 Ma dhearmadas tu iadſan a thearnadh a thairngear chum bàis, agus iadſan a tha ullamh gu bhi air am marbhadh;

12 Ma their thu, Feuch, cha robh fios againn air ſo; nach toir eſan a chothromaicheas an cridhe fa'near? agus nach bi fios aige-ſan a choimhideas t'anam? agus nach ìoc e do gach duine a réir a ghnìomhara?

13 A mhic, ith thuſa mil, do bhrìgh gu *bheil i* maith, agus a' chìr mheala *a tha* milis do d' bhlas.

14 Mar ſin *bithidh* eòlas a' ghliocais do t'anam, ma gheibh thu *e;* agus an uair a thig *do* chrìoch, cha ghearrar as [l] do dhòchas.

15 Na dean feall-fholach, a dhroch dhuine, an aghaidh àite-còmhnuidh an fhìrein; na creach 'ionad-tàimh.

16 Oir ſeachd uairean tuitidh am fìrean, agus éiridh e *rìs;* ach tuitidh na h-aingidh ann an olc.

17 'Nuair a thuiteas do nàmhaid, na bi aoibhneach, agus an uair a thuiſlicheas e, na deanadh do chridhe gairdeachas:

18 Air eagal gu'm faic an Tighearn, agus gu'm bi e olc [m] na ſhùilibh,

a *ſlochd.* b air ſon *creiche.* c *luchd-euſaontais, fealltairean.* d *acain.* e *aimhreitean.* f *a ghluaiſeas e gu ceart.* g *nathair-nimhe.* h *aimhleas, urchoid.* i *a dhealbhas, a thùras.* j *lagaicheas.* k *na teanndachd.* l *agus bithidh duais ann, agus cha ghearrar as.* m *mi-thaitneach.*

ibh, agus gu'n tionndaidh e 'fhearg
uaith.
19 Na biodh campar ort mu dhroch
dhaoinibh, agus na gabh farmad ris
na h-aingidh[a]:
20 Oir cha bhi crìoch mhaith[b] air
an droch dhuine; cuirear lòchran
nan aingidh as.
21 A mhic, biodh eagal an Tigh-
earna agus an righ ort: riu-ſan aig
am bheil atharrachadh giùlain[c] na
biodh gnothuch agad:
22 Oir gu h-obann thig[d] an dòr-
uinn; agus cò d'am fios an ſgrios ar-
aon?
23 *Buinidh* na nithe ſo mar an
ceudna do dhaoinibh glice. Cha
mhaith an ni gnùis aithneachadh ann
am breitheanas[e].
24 Eſan a their ris an aingidh,
Tha thu cothromach[f], malluichidh
an ſluagh e, gabhaidh na fineacha
gràin deth.
25 Ach bithidh toil-inntinn aca-
ſan a chronaicheas[g], agus thig bean-
nachadh maith orra.
26 Pògar bilean an ti a bheir
freagradh ceart.
27 Ulluich t'obair am muigh, a-
gus deaſaich i dhuit féin anns an
achadh, agus na dhéigh ſin tog do
thigh.
28 Na bi t'fhianuis gun aobhar
an aghaidh do choimhearſnaich, a-
gus na meall le d' bhilibh.
29 Na h-abair, Mar a rinn e orm,
mar ſin ni mi air: ìocaidh mi do'n
duine a réir 'oibre.
30 Ghabh mi ſeachad air fearann
an duine leiſg, agus air fion-lios an
duine gun tuigſe:
31 Agus feuch, bha e uile air
fàs ſuas le cluaranaibh[g], chòmhdaich
an eanntagach[h] 'aghaidh, agus
bhriſeadh sìos a bhalladh cloiche.
32 An ſin chunnaic mi, thug mi
an aire gu maith[i]; dh'amhairc mi,
fhuair mi fòghlum.
33 Fathaſt beagan codail, beagan
clò-chodail, beagan paſgaidh[j] nan
làmh gu codal:
34 An ſin thig do bhochdainn mar
fhear-ſiubhail, agus t'uireaſbhuidh
mar dhuine fuidh armaibh.

CAIB. XXV.

IS iad ſo mar an ceudna gnàth-
fhocail Sholaimh, a dh'ath-ſcrìobh
daoine Heſeciah righ Iudah.
2 *Is i* glòir Dhé ni a cheiltinn;
ach *is e* urram righre ni a rannſach-
adh.
3 *Tha* nèamh air airde, agus an
talamh air doimhne, agus cridhe
righre do-rannſachaidh.
4 Buin an ſalchar o'n airgiod, a-
gus thig ſoitheach a mach do'n òr-
cheard.
5 Buin an droch dhuine as làthair
an righ, agus daingnichear ann am
fìreantachd a righ-chaithir.
6 Na gabh urram dhuit féin ann
am fianuis righ, agus na ſeas ann an
àite dhaoine mòra:
7 Oir *is* fearr gu'n abrar riut, Thig
a nìos an ſo, na gu cuirear sìos thu
am fianuis an uachdarain a chunnaic
do ſhùilean.
8 Na gabh a mach gu h-obann gu
ſtrì, air eagal *nach bi fios agad* ciod a
ni thu na dhéigh ſin, an uair a
bheir do choimhearſnach gu nàire
thu[k].
9 Tagair do chùis ri d' choimhearſ-
nach, agus na foillſich rùn-dìomhair
do neach eile:
10 Air eagal gu cuir an ti a
chluinneas gu nàire thu, agus nach
atharraichear[l] do mhaſladh.
11 *Mar* ùbhlan òir ann an dealbh-
aibh airgid, *tha* focal a labhrar gu
h-iomchuidh.
12 *Mar* chluas-fhàinne òir, agus
mar uſgar do'n òr fhìor-ghlan, *tha*
fear-cronachaidh glic aig cluais fhur-
achair.
13 Mar fhuachd ſneachdaidh ann
an àm an fhogharaidh, *tha* teachdaire
dìleas

a Faic Salm XXXVII. r. 1. b *duais, luigheachd.* c *a tha caochlaideach, ſo-ghluaiſte.* d *éiridh.* Eabh. e Faic Le-bhit. Caib. XIX. r. 15. f *ceart, ionraic.* g *oighionnaich, droighnich.* h *ionntagach.* i *ſhocraich mi mo chridhe.* Eabh. j *fillidh.* k *air eagal gu'n dean thu ni-eigin na dhéigh ſin, air ſon an cuir do choimhearſnach gu nàire thu.* l *pillear.*

dìleas dhoibhſan a chuireas uatha e ;
oir ath-bheothaichidh e anam a
mhaighſtir.
14 *Mar* neoil agus *mar* ghaoith
gun uiſge *tha* am fear a ni uaill a
tiodhlacadh gu breugach.
15 Le fad-fhulangas cuirear imp-
idh air uachdaran, agus briſidh teanga
mhìn cnàimh.
16 An d'fhuair thu mil? ith ni's
leòr dhuit dith; air eagal gu làn-
ſhàſuichear thu, agus gu ſgeith thu
i.
17 Tarruing do chos a tigh do
choimhearſnaich, air eagal gu'm bi
e ſgìth dhìot, agus gu fuathaich e
thu.
18 *Is* ord, agus claidheamh, agus
ſaighead gheur, am fear a bheir fia-
nuis bhréige an aghaidh a choimh-
earſnaich.
19 *Mar* fhiacail bhriſte, agus *mar*
chois as an alt, *tha* earbſadh a duine
neo-dhìleas ann an latha airce.
20 *Mar* eſan a bheir air falbh
eudach ann an latha fuachda, *mar*
fhìon-geur air creag-ſhalann [a], mar
ſin *tha* eſan a ſhinneas òrain do'n
chridhe thuirſeach.
21 Ma bhios do nàmhaid [b] ocrach,
thoir aran dha r'a itheadh ; agus ma
bhios e ìotmhor [c], thoir uiſge dha r'a
òl :
22 Oir carnaidh tu eibhle teine
air a cheann [d], agus bheir an Tigh-
earna luigheachd [e] dhuit.
23 Cuiridh a' ghaoth a tuath air
falbh an t-uiſge [f] ; mar ſin *cuiridh*
a' ghnùis fheargach *air falbh* teanga
a' chùl-chàinidh.
24 *Is* fearr còmhnuidh a ghabhail
ann an oiſinn mhullaich tighe, na
maille ri mnaoi aimhreitich ann an
tigh farſaing.
25 *Mar* uiſgeacha fuar do'n an-
am thartmhor, mar ſin *tha* deadh
ſgeul a tìr chéin.
26 *Mar* thobar air a chuir troimh
a chéile, agus *mar* fhuaran air a
thruaillidh, *tha* am firean a thuiſlich-
eas am fianuis an aingidh.
27 Cha '*n'eil* e maith mòran meala
itheadh ; agus *cha* ghlòir e do *dhaoin-
ibh* an glòir féin iarraidh [g].
28 *Mar* chathair [h] briſte sìos, gun
bhalladh, *tha* am fear aig nach '*eil*
ceannſal air a ſpiorad féin.

CAIB. XXVI.

MAR ſhneachda ſan t-ſamhradh,
agus mar uiſge ſan fhoghar-
adh, mar ſin cha '*n'eil* urram iom-
chuidh [i] do'n amadan.
2 Mar eun air faondradh, mar an
gobhlan-gaoithe aig itealaich, mar
ſin cha dthig am mallachadh gun
aobhar.
3 Sciùrs [j] do'n each, ſrian do'n
aſal, agus ſlat do dhruim nan am-
adan.
4 Na freagair amadan a réir 'am-
aideachd, air eagal gu'm bi thu féin
coſmhuil ris.
5 Freagair amadan a réir 'amaid-
eachd, air eagal gu'm bi e glic na
ſhùilibh féin.
6 Gearraidh eſan dheth a choſan,
òlaidh e dochann, a chuireas teachd-
aireachd le làimh amadain.
7 Cha'n ionann coſan [k] a' bhac-
aich ; mar ſin *tha* gnàth-fhocal ann
am beul amadana.
8 Mar neach a cheanglas clach
ann an crann-tàbhuill, mar ſin *tha*
eſan a bheir urram do amadan.
9 Mar a théid bior ſuas ann an
làimh miſgeir, mar ſin *tha* gnàth-
fhocal ann am beul amadana.
10 Bheir an *Dia* mòr, a dhealbh
gach *ni*, duais do'n amadan [l], agus
bheir e duais do luchd-euſaontais.
11 Mar a philleas madadh chum
a ſgeith féin, pillidh amadan chum
'amaideachd féin.
12 Am bheil thu faicinn duine a
tha glic na bharail [m] féin ? *tha* aobh-
ar dòchais ni's mò do'n amadan na
dheth-ſan.

13 Their

a *nitre.* Saſg. b *an ti aig am bheil fuath dhuit.* c *taitmhor, pàiteach.* d Faic Rom. Caib. XII. r. 20. e *duais.* f *Bheir a' ghaoth a tuath a mach uiſge.* g *ach* is *urramach an ni bhi 'g iarraidh urraim.* h *mhòr-bhaile.* i *ciatſach.* j *Sciùrſair.* k *Togar caſan.* l *Claoidhidh* duine *mòr gach neach, agus bheir e duais do'n amadan.* m *na ſhùilibh.* Eabh.

13 Their an leisgein [a], *Tha* leòmhan san t-slighe, leòmhan anns na sràidibh.

14 Mar a thionndaidheas an dorus air a lùdnanaibh [b], mar sin an leisgein air a leabaidh.

15 Folaichidh an leisgein a làmh *na* bhrollach, is doilich leis [c] a toirt chum a bhéil.

16 *Is* glice an leisgein na bharail féin, na seachdnar a bheir freagradh gu ceart.

17 *Mar* neach a bheireas air madadh air a chluasaibh, *tha* esan a théid seach, agus a ghabhas gnothuch ri conspoid nach *buin* da.

18 Mar fhear air boile, a thilgeas leusan-teine, saighdean, agus bàs,

19 Mar sin *tha* am fear *a* mheallas a choimhearsnach, agus a their, Nach ann ri fearas-chuideachd [d] *a tha* mi?

20 Far am bi dìth connaidh, théid an teine as; agus far nach *bi* fearcogarsaich [e], sguiridh a' chomh-stri.

21 *Mar* ghual do eibhlibh, agus *mar* chonnadh do theine, mar sin *tha* fear nan aimhreit a dhùsgadh stri.

22 *Tha* briathra fir na cogarsaich mar lotaibh [f], agus théid iad sìos gu ionadaibh ìochdarach a' chuim.

23 *Mar* shoitheach creadha air a chòmhdachadh le sal airgid, *tha* bilean air lasadh agus cridhe olc.

24 Le 'bhilibh ceilidh [g] an ti a dh'fhuathaicheas; ach an taobh a stigh dheth taisgidh e cealg.

25 An uair a labhras e gu breagha, na creid e; oir *tha* seachd gràineileachda na chridhe.

26 *An ti a* chòmhdaicheas [h] 'fhuath le ceilg [i], foillsichear 'aingidheachd [j] am fianuis a' chomh-chruinnich.

27 An ti a chladhaicheas slochd, tuitidh e féin ann; agus an ti a charuicheas clach, pillidh i air féin.

28 Fuathaichidh an teanga bhreugach iadsan d'an dean i dochair, agus oibrichidh am beul miodalach sgrios.

CAIB. XXVII.

NA dean uaill a thaobh an latha màireach [k]; oir cha 'n'eil fhios agad ciod a bheir là uaith.

2 Moladh neach eile thu, agus na b'e do bheul féin; coigreach, agus na do bhilean féin.

3 *Is* trom clach, agus *is* cudthromach an gaineamh; ach *is* truime corruich amadain na iad le chéile.

4 *Is* an-iochdmhor corruich, agus mar thuil *tha* fearg: ach cò is urrainn seasamh am fianuis tnùtha?

5 *Is* fearr achmhasan follaiseach na gràdh folaichte.

6 *Is* dìleas lotan caraid; ach *is* cealgach pògan eascaraid.

7 Gabhaidh an t-anam làn gràin do'n chìr-mheala; ach do'n anam ocrach [l] is milis gach ni searbh.

8 Mar eun air seacharan o a nead, mar sin *tha* am fear a théid air seacharan o 'àite féin.

9 Ni oladh-ungaidh agus boltrach an cridhe ait: mar sin *ni* milsead caraid duine le comhairle a chridhe.

10 Na tréig do charaid féin, no caraid t'athar, agus na rach [m] a steach do thigh do bhràthar ann an latha t'àmhghair [n]: *is* fearr coimhearsnach am fagus na bràthair fad as.

11 Bi glic, a mhic, agus dean mo chridhe ait, agus bithidh freagradh agam dhasan a bheir masladh dhomh [o].

12 Chi an duine crìonna olc, agus folaichidh se e féin, ach gabhaidh na daoine baoghalta air an aghaidh, agus fuilingidh iad peanas [p].

13 Gabh eudach an ti a chaidh an urras air coigreach, agus air son bana-choigrich gabh an geall uaith.

14 An ti a bheannuicheas a charaid le guth ard, ag éirigh gu moch sa' mhaduinn, measar e dha mar mhallachadh.

15 Tha sìor-shileadh uisge ann an latha frasach, agus bean aimhreiteach cosmhuil ri chéile.

16 Ge

a *leisgear, lundaire.* b *lùdaganaibh.* c *is saothair leis.* d *sùgradh.* e *cogaraich.* f *bhriathraibh tlàth.* g *aithnichear.* h *dh'fholaicheas.* i *an uaigneas.* j *'olcas.* k *an la'r-na mhàireach.* l *acrach.* m *teirig, gabh.* n *t'urchoid.* o Faic Salm CXIX. r. 42. p Faic Caib. XXII. r. 3.

16 Ge b'e dh'fholaicheas i, folaichidh e a' ghaoth, agus oladh-ungaidh a laimhe deiſe *a* bhrathas *i féin*.

17 Geuraichear iarunn air iarunn, agus geuraichidh duine gnùis a charaid.

18 Ge b'e ghleidheas craobh-fhìge, ithidh e d'a toradh; mar ſin eſan a dh'fheitheas air a mhaighſtir, gheibh e urram.

19 Mar *ann* an uiſge *a fhreagras* aghaidh do aghaidh, mar ſin *freagraidh* cridhe duine do dhuine.

20 Cha sàſuichear ifrinn agus léirſgrios [a], agus cha sàſuichear sùilean dhaoine.

21 *Mar* a' phoit-ghlanaidh air ſon an airgid, agus an àmhuinn air ſon an òir, mar ſin *tha* duine do bheul an ti a mholas e.

22 Ge do phronn thu amadan ann an ſoitheach-pronnaidh am meaſg cruithneachd le bruthadair [b], cha dealaich 'amaideachd ris.

23 Bitheadh aithne mhaith agad air ſtaid [c] do chaorach, thoir an aire do d' threudaibh:

24 Oir cha *mhair* beartas gu bràth: agus am *mair* an crùn o linn gu linn?

25 Nochdar am feur gearrta, agus taiſbeanaidh am feur maoth [d] e féin, agus cruinnichear luibhean nam beann.

26 *Bithidh* na h-uain chum t'eudaich; agus *is* iad na gabhar luach t'fhearainn.

27 Agus *bithidh* ni's leòr do bhainne ghabhar agad chum bidh, chum bidh do theaghlaich, agus chum beathachaidh do mhaighdeanna [e].

CAIB. XXVIII.

TEICHIDH an t-aingidh, gun neach air bith an tòir air; ach bithidh na h-ionraic dàna mar leòmhan.

2 Air ſon euſaontais tìre *bithidh* mòran uachdaran oirre; ach le duine tuigſeach eòlach nithear *a* ſtaid buan.

3 *Tha* duine bochd a ni foirneart air bochdaibh, *mar* uiſge millteach [f] nach fàg biadh na dhéigh.

4 Molaidh iadſan a thréigeas an lagh na h-aingidh; ach ni iadſan a ghleidheas an lagh ſtrì [g] riu.

5 Cha tuig droch dhaoine breitheanas; ach tuigidh iadſan a dh'iarras an Tighearna na h-uile nithe.

6 *Is* fearr am bochd a dh'imicheas na ionracas, na eſan a tha ſiar *na* ſhlighibh, ge do robh e ſaibhir.

7 An ti a ghleidheas an lagh, *is* mac glic e; ach eſan a ta na chompanach do luchd-craois, nàirichidh e 'athair.

8 An ti a mheudaicheas a mhaoin le h ocar [h] agus le tairbhe eucoraich, cruinnichidh e dhaſan a ghabhas truas do'n bhochd.

9 An ti a thionndaidheas a chluas o chluinntinn an lagha, *bithidh* 'ùrnuigh féin na gràineileachd.

10 An ti a chuireas na fireana air ſeacharan air droch ſhlighe, tuitidh e na ſhlochd féin; ach mealaidh na h-ionraic nithe maithe.

11 *Is* glic duine ſaibhir na bharail [i] féin; ach rannſaichidh an duine bochd aig am bi tuigſe mach e.

12 'Nuair a ni na fireana gairdeachas, *bithidh* glòir mhòr ann; ach an uair a dh'éireas na h-aingidh, folaichear [j] duine.

13 An ti a dh'fholaicheas a pheacanna, cha ſoirbhich leis; ach eſan a dh'aidicheas agus a thréigeas *iad*, gheibh e tròcair.

14 *Is* beannuichte an duine air am bi eagal a ghnàth; ach eſan a chruaidhicheas a chridhe, tuitidh e ann an olc.

15 *Mar* leòmhan beucach, agus *mar* mhath-ghamhuin a ruitheas a null agus a nall, *tha* uachdaran aingidh os cionn ſluaigh bhochd.

16 Am fear-riaghlaidh aig nach 'eil tuigſe, *is* mòr mar an ceudna am fear-foirneirt e; ach an ti a dh'fhuathaicheas ſannt, ſìnidh e a laithean.

17 An

a *an uaigh agus am bàs.* b *pronnadair; peſtil.* Saſg. c *aghaidhibh.* Eabh. d *mìn.* e *chailin, bhanoglach.* f *ſgrioſach.* g *còmhrag.* h *an-riadh.* i *na ſhùilibh.* Eabh. j *iarrar, ſirear.*

17 An duine a ni ainneart air fuil
neach sam bith, teichidh e gu ruig-
an flochd; na cumadh aon duine e[a].
18 An ti a ghluaiseas gu h-ionraic,
tearnar e; ach esan a tha fiar *na*
shlighibh, tuitidh e dh'aon bheum.
19 An ti a threabhas 'fhearann,
bithidh pailteas arain aige; ach esan
a leanas an déigh dhaoine dìomhain,
bithidh bochdainn gu leòr aige.
20 Bithidh duine firinneach pailt
ann am beannachdaibh; ach esan
a ni deifir[b] gu bhi saibhir, cha bhi
e neo-chiontach.
21 Cha mhaith an ni gnùis aith-
neachadh[c]; gidheadh air son greim
arain ciontaichidh duine.
22 Ni fear na droch shùile deifir
gu bhi saibhir; ach cha'n 'eil fhios
aige gu'n dthig bochdainn air.
23 An ti a chronaicheas duine,
na dhéigh fin gheibh e ni's mò do
dheadh-ghean na esan a ni miodal
le 'theangaidh.
24 An ti a ni reubainn air 'athair
no air a mhàthair, agus a their, Cha'n
'*eil* cionta ann, *is* companach e do
fhear-millidh.
25 An ti aig am bheil cridhe ard-
anach, dùisgidh e strì; ach esan a
dh'earbas as an Tighearna, nithear
sultmhor e[d].
26 An ti a dh'earbas as a chridhe
féin, is amadan e; ach esan a ghluais-
eas gu glic, saorar e.
27 An ti a bheir do'n bhochd,
cha bhi dìth air; ach air an ti a
dh'fholaicheas a shùilean bithidh iom-
adh mallachd.
28 'Nuair a dh'éireas na h-ain-
gidh, folaichidh daoine iad féin; ach
an uair a sgriosar iad, fàsaidh na fi-
reana lìonmhor.

CAIB. XXIX.

AM fear a chronaichear gu minic,
gidheadh a chruaidhicheas *a*
mhuineal, sgriosar e gu h-obann, a-
gus sin gun leigheas.
2 'Nuair a bhios na fireana cumh-
achdach[e], ni an sluagh gairdeachas;
ach an uair a riaghlas na h-aingidh,
ni an sluagh osnaich[f].
3 Am fear a ghràdhaicheas glioc-
as, ni e 'athair ait; ach esan a
chumas cuideachd ri striopaich.bh,
caithidh e *a* mhaoin.
4 Le breitheanas daingnichidh an
righ an tìr; ach sgriosaidh am fear a
ghabhas tiodhlacan[i].
5 Am fear a ni miodal r'a choimh-
earsnach, sgaoilidh e lìon air son a
chos.
6 Ann an eusaontas droch dhuine
tha ribe, ach seinnidh am firean, a-
gus bithidh e aoibhneach.
7 Bheir am firean an aire do chùis
nam bochd; ach cha ghabh an t-ain-
gidh suim do eòlas a bhi aige oirre.
8 Bheir luchd-fochaid baile ann
an ribe; ach pillidh daoine glice
fearg.
9 Ma ni duine glic strì[g] ri duine
amaideach, co dhiubh a bhios fearg
air, no ni e gàire, cha *bhi* fois ann.
10 Fuathaichidh daoine fuileachd-
ach an duine ionraic; ach iarraidh
daoine cothromach 'anam[h].
11 Cuiridh amadan an céill 'inn-
tinn uile; ach cumaidh duine glic
a stigh i gus an déigh sin.
12 Ma dh'éisdeas uachdaran ri
breugaibh, *bithidh* a sheirbhisich uile
aingidh.
13 Coinnichidh am bochd agus
an cealgair[j] a chéile; bheir an Tigh-
earna solus d'an sùilibh araon.
14 Ma bheir righ breth air bochd-
aibh ann am firinn, daingnichear a
righ-chaithir gu bràth.
15 Bheir an t-slat agus achmhasan
gliocas uatha; ach cuiridh an lean-
abh[j] a dh'fhàgar dha féin nàire air a
mhàthair.
16 'Nuair a bhios na h-aingidh
lìonmhor, bithidh eusaontas lìonmhor:
ach chi na fireana an leagadh[k].
17 Cronaich do mhac, agus bheir
e suaimhneas[l] dhuit; seadh, bheir e
sòlas do t'anam.

a *na cuireadh duine sam bith stad air.* b *cabhag.* c Faic Caib. XXIV. r. 23. d *mealaidh e pailteas.* e *mòr, lìonmhor.* f *caoidh, bròn.* g *Ma bhios cuis-lagha aig duine glic.* h *a dhea[i]h rùn.* i *fear an fhoirneirt.* j *òganach.* k *sgrios.* l *fois.*

18 Far nach 'eil taifbeanadh, leigear ris an fluagh; ach an ti a choimhideas an lagh, is fona efan.

19 Le briathraibh cha leafaichear feirbhifeach; oir ge do thuig e, cha fhreagair e.

20 Am bheil thu faicinn duine a tha dian [a] na bhriathraibh? Tha aobhar dòchais ni's mò do'n amadan no dheth-fan.

21 Ma thogas neach a fheirbhifeach fuas gu muirneach o bhi na leanabh, ma dheireadh bithidh e aige mar mhac.

22 Dùifgidh duine feargach aimhreit, agus bithidh fear na corruich [b] pailt ann an eufaontas.

23 Iflichidh uabhar duine e; ach gheibh efan a ta iriofal na fpiorad urram.

24 An ti a ni comh-roinn ri gaduiche, fuathaichidh e 'anam féin: cluinnidh e mallachadh [c], ach cha'n fhoillfich e.

25 Bheir eagal duine ribe leis; ach ge b'e dh'earbas as an Tighearna, bithidh e tèaruinte [d].

26 Iarraidh mòran deadh-ghean [e] an uachdarain; ach is ann o'n Tighearna tha breitheanas gach duine.

27 Is e fear na h-euceirt gràineileachd nam firean; agus is e'n ti a tha ceart na fhlighe gràineileachd nan aingidh.

CAIB. XXX.

BRIATHRAN Aguir mhic Iaceh, eadhon an fhàidheadaireachd [f]: labhair an duine ri h-Itiel, eadhon ri h-Itiel agus ri h-Ucal.

2 Gu deimhin tha mi ni's amaidiche [g] na duine air bith, agus cha 'n'eil tuigfe duine agam.

3 Agus cha d'fhòghluim mi gliocas, ni mò a tha eòlas agam air nithibh naomha [h].

4 Cò chaidh fuas do nèamh, no thàinig a nuas? cò chruinnich a' ghaoth na dhornaibh? cò cheangail na h-uifgeacha ann an trufcan? cò fhuidhich uile chrìocha na talmhainn? ciod is ainm dha? agus ciod e ainm a mhic, ma ta fhios agad?

5 Tha uile fhocal Dé fìor-ghlan: is fgiath e dhoibhfan a chuireas an dòigh ann.

6 Na cuir-fa ni air bith r'a bhriathraibh, air eagal gu cronaich e thu, agus gu faighear breugach thu.

7 Dà ni dh'iarr mi ort; na diùlt iad dhomh mu'm faigh mi bàs.

8 Dìomhanas agus breugan cuir fad uam; na toir dhomh bochdainn no beartas, beathuich mi le biadh a bhios iomchuidh air mo fhon,

9 Air eagal gu'm bi mi làn, agus gu'n àicheadh mi thu, agus gu'n abair mi, Cò e an Tighearn? no gu'm bi mi bochd, agus gu'n goid mi, agus gu'n toir mi ainm mo Dhé an dìomhanas.

10 Na dean cafaid air feirbhifeach r'a mhaighftir, air eagal gu mallaich e thu, agus gu faighear ciontach thu.

11 Tha ginealach ann a mhallaicheas an athair, agus nach beannuich am màthair.

12 Tha ginealach ann a tha glan nan sùilibh féin, gidheadh nach 'eil air an nigheadh o an falchar.

13 Tha ginealach ann aig am bheil an sùilean arda, agus fàbhraidhean [i] an sùl air an togal fuas.

14 Tha ginealach ann aig am bheil am fiacla mar chloidhean, agus am fiacla-cùil mar fgeana, a dh'itheadh fuas nan truaghan [j] o'n talamh, agus nam feumach o mheafg dhaoine.

15 Aig an deal-each tha dithis nighean, ag éigeach, Tabhair, tabhair. Tha tri nithe ann nach sàfuichear, feadh, ceithir nithe nach abair, Is leòr e:

16 An uaigh, agus a' bhrù neothorrach, an talamh nach sàfuichear le h-uifge, agus an teine nach abair, Is leòr e:

17 An t-sùil a ni magadh air 'athair, agus a ni tarcuis air ùmhlachd do 'mhàthair, fpìonaidh fithich a' ghlinne a

a *cabhagach*. b *na boile*. c *mionnachadh*. d *ardaichear e*. e *gnùis*. Eabh. f *an dàn*. g *bruideile*. h *Ge do* tha *mi ni's amaidiche na duine air bith, &c. gidheadh tha eòlas agam air nithibh naomha*. i *fordhubha*. j *daoine bochda*.

a mach i, agus ithidh na h-iolairean òga ſuas i.

18 Tha tri nithe ann a's iongantach leam, ſeadh, ceithir nithe nach aithne dhomh:

19 Slighe iolaire anns na ſpeuraibh, ſlighe nathrach air carraig, ſlighe luinge ann am meadhon na fairge, agus ſlighe fir le h-òigh.

20 Mar ſo *tha* ſlighe ban-adhaltrannaiche: ithidh i, agus glanaidh i a beul, agus their i, Cha d'rinn mi olc air bith.

21 Air ſon tri nithe ghluaiſeadh [a] an talamh, agus air ſon ceithir nach urrainn e ghiùlan:

22 Air ſon ſeirbhiſich an uair a riaghlas e, agus air ſon amadain an uair a bhios e làn do bhiadh,

23 Air ſon mnà fhuathaich an uair a phòſar i, agus air ſon banoglaich an uair a bhios i na h-oighre air a banamhaighſtir.

24 Tha ceithir nithe beaga air an talamh, ach *tha* iad ro-ghlic:

25 *Tha* na ſeangain nan ſluagh nach 'eil làidir, gidheadh ulluichidh iad am biadh ſan t-ſamhradh;

26 *Tha* na coineana nam muinntir nach *'eil* neartmhor, gidheadh togaidh iad an tighean anns na creagáibh;

27 Cha *'n'eil* righ aig na locuſtaibh, gidheadh imichidh iad a mach uile nam buidhnibh;

28 Gabhaidh an damhan-alluidh greim le a làmhaibh, agus *bithidh* e ann an lùchairtibh nan righ.

29 *Tha* tri nithe a dh'imicheas gu maith, ſeadh, ceithir, a tha tlachdmhor nan ſiubhal:

30 An leòmhan *a's* làidire am meaſg bheathaiche, agus nach pill air ais o aon air bith.

31 Mìol-chù, boc-gaibhre mar an ceudna, agus righ an aghaidh nach feudar éirigh [b].

32 Ma rinn thu gu h-amaideach le thu féin a thogail ſuas, no ma ſmuainich thu olc, *cuir* do làmh air do bheùl.

33 Gu deimhin bheir crathadh [c] bainne im a mach, agus bheir fàſgadh na ſròna fuil a mach: mar ſin bheir dùſgadh corruich aimhreit a mach.

CAIB. XXXI.

BRIATHRA righ Lemueil, an fhàidheadaireachd a theagaiſg [d] a mhàthair dha.

2 Ciod, a mhic? agus ciod, a mhic mo bhronn? agus ciod, a mhic mo bhòidean?

3 Na tabhair do neart [e] do mhnaibh, no do ſlighean do mhilleadh righre.

4 Cha *'n'eil* e air ſon righre, a Lemueil, cha *'n'eil* e air ſon righre fion òl, no air ſon uachdarana deidh a bhi aca air dibh làidir.

5 Air eagal gu'n òl iad, agus gu'n di-chuimhnich [f] iad an lagh, agus gu'n claon iad breitheanas do aon ſam bith do chloinn an àmhghair.

6 Thugaibh deoch làidir dha-ſan a tha ullamh gu bàſachadh, agus fion dhoibhſan a tha ann an ſearbhas anama [g].

7 Oladh e, agus dì-chuimhnicheadh e a bhochdain, agus na cuimhnicheadh e a thruaighe ni's mò.

8 Foſgail do bheul air ſon an duine bhailbh, ann an cùis nan uile a tha air an orduchadh chum ſgrios [h].

9 Foſgail do bheul, thoir breth le ceartas, tagair cùis an truaghain agus an fheumaich.

10 Cò gheibh bean ſhubhailceach [i]? oir *tha* a luach gu mòr os cionn chlach uaſal [j].

11 Earbaidh cridhe a fir aiſde, agus cha bhi feum aige air creich.

12 Iocaidh [k] i maith dha, agus cha'n e olc, rè uile laithean a beatha.

13 Iarraidh i olann agus lìon, agus oibrichidh i gu toileach le a làmhaibh.

14 Tha i mar longaibh nan ceannuiche, bheir i a biadh o *thìr* chéin [l].

15 Eiridh i mar an ceudna 'nuair is i an oidhche a ta fathaſt ann, agus bheir

a *chriothnuich, bha mi-ſhuaimhneas air.* b *crioſlaichte na leaſraidh.* Eabh. c *maiſtreachadh.* Eir. d *dh'ionnſuich.* e *do mhaoin.* f *dìo-chuimhnich.* g *aig am bheil cridhe tuirſeach.* h *uile chloinne na truaighe; uile mhac an ſgrios.* Eabh. i *bean mhaith, bean nan deadh bheus.* j *chlach luachmhor, nèamhnuidean; peninim.* Eabh. k *Ni, bheir.* l *fad as.*

bheir i lòn d'a teaghlach, agus cui-
bhrionn [a] d'a maighdeanaibh [b].
16 Meaſaidh i achadh, agus ceann-
aichidh ſi e: le toradh a làmh ſuidh-
ichidh i fion-lios.
17 Crioſlaichidh i a leaſraidh le
neart, agus neartaichidh ſi a gairdeana.
18 Mothaichidh i gu *bheil* a cean-
nachd math: cha dtheid a coinneal
as ſan oidhche.
19 Cuiridh i a làmhan air an dealg-
an, agus gabhaidh glacan a làmh
greim do'n chuigeil.
20 Foſglaidh i a glac [c] do'n truagh-
an [d], agus ſìnidh i a làmhan do'n
fheumach.
21 Cha'n eil eagal oirre roimh 'n
t-ſneachda air ſon a teaghlaich; oir
tha a teaghlach uile eudaichte le ſcar-
laid [e].
22 Ni i dhi féin truſcain do obair
ghréis; *do* ſhìoda [f] agus *do* chorcur *tha*
a h-eudach.
23 Aithnichear anns na geataibh [g]
a fear, an uair a ſhuidheas e maille
ri ſeanairibh na tìre.
24 Ni i lìon-eudach grinn, agus
reicidh i *e*, agus bheir i crioſan do'n
cheannuiche.
25 Neart agus urram *is* eudach
dhi, agus ni i gairdeachas ſan àm ri
teachd.
26 Foſglaidh i a beul le gliocas,
agus *tha* lagh a' chaoimhneis [i] air a
teangaidh.
27 Bheir i an aire do ſhlighibh a
teaghlaich, agus cha'n ith i aran an
dìomhanais.
28 Eiridh a clann, agus beannuich-
idh iad i; a fear, agus molaidh e i.
29 Rinn mòran nighean gu ſubh-
ailceach, ach thug thuſa barrachd or-
ra uile.
30 *Is* mealltach deadh-ghean, a-
gus *is* dìomhain ſgèimh; *ach* bean
air am bi eagal an Tighearna, is iſe a
mholar.
31 Thugaibh dhi do thoradh a
làmh, agus moladh a h-oibre féin anns
na geataibh i.

a *obair chumta.* b *cailinibh.* c *a làmhan.* d *do'n duine bhochd.*
e *le* culaidhibh *dà-ſhillte.* f *ſhìoda.* g *anns a' chomh-chruinneachadh.*
i *na caomhalachd.*

ECLESIASTES,

ECLESIASTES,

NO AN

SEARMONUICHE.

CAIB. I.

BRIATHRAN an t-Searmonuiche,
mhic Dhaibhidh, righ ann an
Ieruſalem.
2 Dìomhanas nan dìomhanas! ars'
an Searmonuiche; dìomhanas nan
dìomhanas! *is* dìomhanas na h-uile
nithe.
3 Ciod an tairbhe a th'aig duine
na uile ſhaothair a ni e fuidh 'n
ghréin?
4 *Tha aon* ghinealach a' ſiubhal,
agus ginealach *eile* a' teachd; ach
fanuidh an talamh gu bràth.
5 Eiridh mar an ceudna a' ghrian,
agus théid a' ghrian fuidh [a], agus
luathuichidh i d'a h-àite féin as an
d'éirich i.
6 Théid a' ghaoth a làimh na
h-airde deas, agus théid i mu'n cuairt
do'n airde tuath; théid i mu'n cuairt
agus mu'n cuairt a ghnàth, agus ath-
phillidh a' ghaoth air a cuairtibh
féin [b].
7 Ruithidh na h-aibhnean [c] uile
chum na mara, gidheadh cha *'n'eil* a'
mhuir làn: chum an àite as an
d'thàinig na h-aibhne, thuige [d] ſin
pillidh iad a-rìs.
8 *Tha* na h-uile nithe làn do ſhaoth-
air; cha'n urradh duine a chur an
céill: cha sàſuichear an t-sùil le faic-
inn, agus cha lìonar a' chluas le
cluinntinn [e].
9 An ni a bha ann, *is* e an ni ſin
féin a bhitheas ann; agus an ni ſin a
rinneadh, *is* e an ni ſin féin a nith-
ear; agus cha *'n'eil* ni ſam bith
nuadh [f] fuidh'n ghréin.
10 Am bheil ni ann mu'm feudar
a ràdh, Feuch, *tha* e ſo nuadh? Bha
e ann a cheana ſan t-ſean aimſir a
bh'ann romhainn.
11 Cha *'n'eil* cuimhne air bith air
na nithe a bha ann roimhe; cha mhò
a bhios cuimhne air na nithe a ta ri
teachd, aca-ſan a thig nan déigh.
12 Bha miſe an Searmonuiche a'm'
righ air Iſrael ann an Ieruſalem.
13 Agus thug mi mo chridhe a
ſhireadh agus a rannſachadh [g] le glioc-
as, mu thimchioll gach ni a nithear
fuidh nèamh: an t-ſaothair ghoirt ſo
thug Dia do chloinn nan daoine [h],
chum an cleachdadh féin rithe [i].
14 Chunnaic mi na h-uile oibre
fuidh'n ghréin; agus feuch, *is* dìo-
mhanas iad uile, agus buaireadh [j]
ſpioraid.
15 An ni a ta cam, cha ghabh e
deanamh dìreach; agus an ni a ta
dh'eaſbhuidh, cha ghabh e àireamh [k].
16 Labhair mi ri m' chridhe féin,
ag ràdh, Feuch, dh'fhàs mi mòr [l],

[a] *luidhidh a' ghrian.* [b] *a réir a cuairtean.* [c] *aimhnean.* [d] *chuige.* [e] *clàiſtinn.* [f] *nomha, ùr.* [g] *a dh'fhidireadh, a lorgachadh.* [h] *mhacaibh an duine.* [i] *gu'n cràdhadh, gu'm feuchainn leatha.* [j] *cràdh.* [k] *cha bhi e comaſach a dheanamh ſuas.* [l] *thàinig mi gu h-inbhe mhòir.*

agus fhuair mi tuilleadh gliocais na
iadſan uile a bha romham ann an Ie-
ruſalem, agus chunnaic [a] mo chridhe
mòran gliocais agus eòlais.
17 Agus thug mi mo chridhe a
dh'fhaotainn eòlais air gliocas agus air
cuthach [b] agus amaideachd: dh'aithn-
ich mi gur buaireadh ſpioraid e ſo
mar an ceudna.
18 Oir ann am mòran gliocais *tha*
mòran doilgheis [c]; agus an ti a
mheudaicheas eòlas, meudaichidh e
bròn.

CAIB. II.

THUBHAIRT mi a'm' chridhe,
Teann [d] a nis, dearbhaidh mi
thu le ſubhachas, uime ſin meal
maith [e]: ach feuch, *is* dìomhanas ſo
mar an ceudna.
2 Mu ghàire [f] thubhairt mi, *Is*
cuthach *e*; agus mu ſhùgradh, Ciod
a ni *e*?
3 Dh'iarr mi ann am chridhe mi
féin [g] a thabhairt do fhìon, (gidheadh
a' ſeòladh mo chridhe ann an glioc-
as [h],) agus greim a ghabhail air am-
aideachd, gus am faicinn ciod e am
maith ſin do chloinn nan daoine bu
chòir dhoibh a dheanamh fuidh
nèamh, air feadh uile laithean am
beatha.
4 Rinn mi oibre mòra dhomh
féin: thog mi dhomh féin tighean;
ſhuidhich mi dhomh féin ſion-liosaich-
ean.
5 Rinn mi dhomh féin gàrachan
agus lioſan chrann-meas, agus ſhuidh-
ich mi annta craobhan do gach gnè
thoraidh;
6 Rinn mi dhomh féin lochain [i]
uiſge, a dh'uiſgeachadh leo na coille
anns am fàs craobhan.
7 Fhuair mi òglaich agus banog-
laich, agus rugadh ſeirbhiſich [j] a'm'
thigh: bha mar an ceudna ſealbha
mòra bhuar agus threud [k] agam, os
cionn nan uile a bha romham ann an
Ieruſalem.
8 Charn [l] mi ſuas mar an ceudna
dhomh féin airgiod agus òr, agus ion-
mhas sònraichte nan righ agus nam
mòr-roinn; fhuair mi dhomh féin
fir-chiuil [m] agus mnài-chiuil, agus
aoibhneasa chloinn nan daoine, *mar
a ta* innil-chiuil [n], agus ſin do gach
gnè.
9 Mar ſin bha mi mòr, agus
dh'fhàs mi ni's mò na gach duine a
bha romham ann an Ieruſalem: os
bàr, dh'fhan mo ghliocas agam.
10 Agus gach ni a mhiannaich mo
ſhùilean cha do chum mi uatha; cha
do bhac mi [o] mo chridhe o ſhubhach-
as ſam bith: oir rinn mo chridhe
aoibhneas ann am ſhaothair uile; a-
gus b'e ſo mo chuibhrionn do m'uile
ſhaothair.
11 An ſin ſheall mi air m'oibribh
uile a rinn mo làmhan, agus air an
t-ſaothair anns an do ſhaothraich mi
'ga deanamh: agus feuch, *bu* dìomh-
anas an t-iomlan, agus buaireadh ſpio-
raid, agus cha *robh* tairbhe ann
fuidh'n ghréin.
12 Agus ſheall mi air m'ais a
dh'fhaicinn gliocais, agus cuthaich [p],
agus amaideachd: oir ciod *a dh'fheud-
as* an duine *a dheanamh* a thig an
déigh an righ? an ni ſin féin a rinn-
eadh a cheana.
13 Agus chunnaic mi gu bheil
gliocas co fhad os cionn amaideachd [q],
'ſa tha ſolus os cionn dorchadais.
14 *Tha* sùilean an duine ghlic na
cheann, ach imichidh an t-amadan
ann an dorchadas: gidheadh dh'aith-
nich mi mar an ceudna gu'n tachradh
an t-aon ni dhoibh uile.
15 An ſin thubhairt mi a'm'
chridhe, Mar a thachras do'n am-
adan, mar ſin tachraidh dhomhſa
féin; agus c'ar ſon uime ſin a bha
miſe ni bu ghlice *na eſan*? an ſin
thubhairt mi a'm' chridhe, gur dìo-
mhanas ſo mar an ceudna.
16 Oir cha *bhi* cuimhne air an
duine ghlic ni's mò na air an amadan
gu

a *dh'fhairich, dh'fhiosraich.* b *boile.* c *carraid, diomaidh.* d *Thig.* e *sàimh.* f *Ri gàire.* g *m'fheoil,* Eabh. h *a' cleachdadh mo chridhe ri gliocas.* i *linntean.* j *muinntirich.* k *chaorach.* l *Chruinnich.* m *fir ſheinn.* n *abhaidh-chiuil.* o *cha do chum mi air ais.* p *boile.* q *ni's fearr na amaideachd.*

gu bràth; o dhì-chuimhnichear na
nithe a *ta* nis ann, uile anns na laith-
ibh a ta ri teachd: agus cionnus a
dh'eugas an duine glic? mar an t-am-
adan.
17 Uime ſin dh'fhuathach mi
beatha, a chionn gur doilgheaſach
dhomh an obair a dh'oibrichear
fuidh'n ghréin: oir *is* dìomhanas na
h-uile nithe agus buaireadh [a] ſpior-
aid.
18 Seadh, dh'fhuathaich mi mo
ſhaothair uile a ſhaothraich mi fuidh'n
ghréin, a chionn gu'm fàg mi i do'n
fhear a bhios a'm' dhéigh.
19 Agus cò aig am bheil fios cia
dhiubh a bhios e na dhuine glic no na
amadan? gidheadh bithidh uachdar-
anachd aige os cionn mo ſhaoithreach
uile anns an do ſhaothraich mi, agus
anns an d'fhuara mi gu glic fuidh'n
ghréin. *Is* dìomhanas ſo mar an
ceudna.
20 Air an aobhar ſin thionndaidh
mi thoirt air mo chridhe dol an eu-
dòchas mu'n uile ſhaothair a ſhaoth-
raich mi fuidh'n ghréin.
21 Oir a ta duine ann aig *am bheil*
a ſhaothair ann an gliocas, agus an
eòlas, agus an ceartas; gidheadh do
dhuine nach do ſhaothraich ann bheir
ſe e mar a chuibhrionn. *Is* dìomh-
anas ſo mar an ceudna, agus olc mòr.
22 Oir ciod a th'aig duine d'a uile
ſhaothair, agus do bhuaireadh [b] a
chridhe, anns an do ſhaothraich e
fuidh'n ghréin?
23 Oir *is* doilgheaſan a laithean
uile, agus *is* do-bròn a ſhaothair:
eadhon ſan oidhche cha ghabh a
chridhe fois. *Is* dìomhanas ſo mar
an ceudna.
24 Cha *'n'eil* ni ann a's fearr do
dhuine na gu'n itheadh agus gu'n òl-
adh e, agus gu'n dthugadh e air 'an-
am maith a mhealtuinn [c] na ſhaoth-
air.
25 Oir cò a's urrainn [d] itheadh, no
cò eile a luathaicheas *thuige* [e] ni's mo
na miſe?
26 Oir do'n duine a *tha* maith na
ſhealladh, bheir *Dia* gliocas, agus eòlas,
agus aoibhneas: ach do'n pheacach
bheir e ſaothair, a chruinneachadh agus
a charnadh ſuas, chum gu'n tabhair e
do'n ti a ta maith ann am fianuis
Dhé. *Is* dìomhanas ſo mar an ceud-
na, agus buaireadh ſpioraid.

CAIB. III.

AIG gach ni *tha* tràth, agus àm
aig gach rùn fuidh nèamh:
2 Am gu bhi air breith, agus àm
gu bàs fhaotainn; àm gu ſuidheach-
adh, agus àm gus an ni a ſhuidhich-
eadh, a ſpìonadh ſuas;
3 Am gu marbhadh, agus àm gu
leigheas; àm gu briſeadh sìos, agus
àm gu togail ſuas;
4 Am gu gul [f], agus àm gu gàire;
àm gu caoidh, agus àm gu dannſ-
adh;
5 Am gu clachan a thilgeadh air
falbh, agus àm gu clachan a chruinn-
eachadh; àm gu gabhail an glac-
aibh, agus àm gu ſantainn o ghabhail
an glacaibh [g];
6 Am gu coſnadh [h], agus àm gu
call; àm gu gleidheadh, agus àm gu
tilgeadh air falbh;
7 Am gu reubadh, agus àm gu
fuaigheal; àm gu bhi toſdach, agus
àm gu labhairt;
8 Am gu gràdhachadh, agus àm
gu fuathachadh; àm gu cogadh, agus
àm gu sìth;
9 Ciod an tairbhe [i] a ta aige-ſan a
dh'oibricheas, ſan ni ſin anns an
ſaothraich e?
10 Chunnaic mi an t-ſaothair a
thug Dia do chloinn nan daoine [j],
chum an cleachdadh féin rithe.
11 Rinn e gach ni maiſeach na àm
féin: chuir e mar an ceudna an
ſaoghal nan cridhe, air chor nach ur-
rainn aon duine an obair fhaotainn a
mach a tha Dia a' deanamh, o thoiſ-
each gu deireadh.
12 Tha fhios agam nach 'eil maith
air bith annta, ach gu'm biodh *duine*
ſubhach,

a *ſmuairean, cràdh.* b *chràdh, àmhghar, dhorran.* c *gu'n nochdadh e maith d'a anam.* d *a dh'fheudas.* e chuige. f *gal.* g *bhi fad o ghabhail an glacaibh.* Eabh. h *iarraidh, faotainn, ſoluradh.* i *a' bhuannachd.* j *mhacaibh an duine.*

ſubhach, agus gu'n deanadh e maith rè a bheatha [a].

13 Agus mar an ceudna gu'n itheadh agus gu'n òladh gach duine, agus gu mealadh e maith a ſ.aoithreach uile, *is* e ſin tiodhlacadh Dhé.

14 Tha fhios agam gach gni a ni Dia, gu'm bi e gu bràth; cha ghabh aon ni cur ris, no aon ni toirt uaith: agus ni Dia *ſo*, chum gu'm biodh eagal air *daoinibh* roimhe.

15 An ni a bha, tha e ann a nis; agus an ni a bhitheas, bha e ann a cheana; agus iarraidh Dia an ni a chaidh ſeachad.

16 Agus os bàrr, chunnaic mi fuidh'n ghréin àit a' bhreitheanais, *gu'n robh* euceart [b] *an ſin*; agus àite na ſìreantachd, *gu'n robh* aingidheachd *an ſin*.

17 Thubhairt mi a'm' chridhe, Bheir Dia breth air an fhìrean agus air an aingidh: oir *tha* àm an ſin chum gach uile rùin, agus chum gach uile oibre.

18 Thubhairt mi ann am chridhe a thaobh ſtaid [c] chloinn nan daoine, gu'n glanadh [d] Dia iad, agus gu'm faiceadh iad gur ainmhidhean iad féin.

19 Oir an ni ſin a thachras do chloinn nan daoine, tachraidh e do na h-ainmhidhibh; tachraidh dìreach an t-aon ni dhoibh: mar a dh'eugas aon diubh, is ann mar ſin a dh'eugas an t-aon eile; ſeadh, is i an aon anail a *ta* aca uile, agus cha 'n'eil barrachd aig duine air ainmhidh, oir *is* dìomhanas iad uile.

20 Théid iad uile do aon àite; tha iad uile o'n duſlach [e], agus pillidh iad uile do'n duſlach.

21 Cò d'an aithne ſpiorad chloinn nan daoine [f] a théid ſuas, agus ſpiorad an ainmhidh a théid ſìos chum na talmhainn [g]?

22 Uime ſin tha mi ag aithneachadh nach *'eil* ni a's fearr na gu'n deanadh duine gairdeachas na oibribh, a chionn gur e ſin a chuibhrionn: oir cò bheir e a dh'fhaicinn an ni a bhios na dheigh?

CAIB. IV.

AN ſin thionndaidh mi, agus dh'amhairc mi air na h-uile fhoirneartaibh a nìthear fuidh'n ghréin, agus feuch, deoir na droinge bha fuidh fhoirneart, agus gun aon fhear-comhfhurtachd aca! agus air taobh [h] an luchd-foirneart *bha* neart, ach cha *robh* fear-comhfhurtachd aca-ſan.

2 Uime ſin mhol mi na mairbh a dh'eug a cheana, ni's mò na na beotha a ta beò fathaſt.

3 Ach *is* fearr na iad le chéile an ti nach robh ann fathaſt, nach faca an droch obair a nìthear fuidh'n ghréin.

4 A rìs, dh'amhairc mi air gach uile ſhaothair agus gach uile obair cheirt, gur fàth farmaid do dhuine o 'choimhearſnach i. *Is* dìomhanas ſo mar an ceudna, agus buaireadh ſpioraid.

5 Fillidh an t-amadan a làmhan r'a chéile, agus ithidh e 'fheoil féin.

6 *Is* fearr làn duirn *le* ſuaimhneas, na'n dà làimh làn *le* ſaothair agus buaireadh ſpioraid.

7 An ſin thionndaidh mi, agus chunnaic mi dìomhanas fuidh'n ghréin.

8 Tha duine ann leis féin, agus cha *'n'eil* lethbhreac [i] aige; ſeadh, cha *'n'eil* leanabh no bràthair aige: gidheadh cha*'n'eil* crìoch air a ſhaothair uile, agus cha sàſuichear a ſhùil le ſaibhreas; cha mhò *a their e*, Cò air ſon am bheil mi a' ſaoithreachadh, agus a' fàgail m'anama dh'eaſbhuidh maith? *Is* dìomhanas ſo mar an ceudna, agus *is* ſaothair ghoirt e.

9 *Is* fearr dithis na aon *duine*, a chionn gu bheil deadh dhuais aca air ſon an ſaoithreach.

10 Oir ma thuiteas duine dhiubh [j], togaidh an duine eile ſuas a chompanach: ach mo thruaighe eſan *a ta*

na

a *air feadh a bheatha, na bheatha.* b *aingidheachd, mi-dhiadhachd.* c *cora, inbhe.* d *chum gu'n ſoillſicheadh, gu'n dearbhadh.* e *luaithre.* f *ſpiorad an duine.* g *fuidh'n talamh.* h *làimh.* Eabh. i *a leithid eile, an dara neach.* j *ma thuiteas iad.*

na aonar an uair a thuiteas e; oir cha *'n'eil* neach eile aige g'a thogail ſuas.

11 Mar an ceudna ma luidheas ditheas cuideachd, bithidh iad blàth: ach cionnus a bhios aon blàth leis féin?

12 Agus ma bhuadhaicheas aon air, ſeaſaidh dithis na aghaidh; agus cha bhriſear cord thri dual [a] gu h-obann.

13 *Is* fearr leanabh bochd agus glic na righ ſean agus amaideach, nach gabh comhairle [b] ni's mò.

14 Oir a prìoſun [c] thig e a rìoghachadh; an ti mar an ceudna a rugadh na rìoghachd, *fàſaidh* e bochd.

15 Thug mi an aire do [d] na h-uile bheothaibh a ſhiubhlas fuidh'n ghréin, maille ris an dara leanabh a ſheaſas ſuas na àite.

16 Cha *'n'eil* crìoch air an t-ſluagh uile, orra-ſan uile a bha rompa: cha dean iadſan mar an ceudna a thig nan déigh gairdeachas ann. Gu cinnteach *is* dìomhanas ſo mar an ceudna, agus buaireadh ſpioraid.

CAIB. V.

COIMHID [e] do chos an uair a théid thu do thigh Dhé, agus bi ni's deiſe gu cluinntinn na gu ìobairt nan amadan a thabhairt; oir cha *'n'eil* iad ſin a' toirt an aire gu bheil iad a' deanamh uilc.

2 Na bi bras [f] le d' bheul, agus na luathaicheadh do chridhe gu ni a labhairt an làthair Dhé: oir *a ta* Dia air nèamh, agus thuſa air talamh: uime ſin biodh do bhriathra tearc.

3 Oir thig aiſling le iomadalachd [g] ghnothuiche, agus *aithnichear* guth amadain le iomadalachd bhriathar.

4 An uair a bhòidicheas tu bòid do Dhia, na cuir dàil na dìoladh; oir cha *'n'eil* tlachd *aige* ann an amadanaibh: an ni a bhòidicheas tu, dìol e [h].

5 *Is* fearr gun thu bhòideachadh, na gu'm bòidicheadh tu, agus nach dìoladh tu.

6 Na leig le d' bheul a thoirt air t'fheoil peacachadh, agus na h-abair an làthair an aingil, gu'm *bu* mhearachd e; c'uim am biodh fearg air Dia air ſon do ghutha-ſa, agus an ſgrioſadh e obair do làmh?

7 Oir mar ann an iomadalachd nan aiſling *a bhios* dìomhanaſa, is amhuil *a bhios* iad ann an iomadalachd nam briathar: ach biodh eagal Dé ortſa.

8 Ma chi thu foirneart an duine bhochd [i], agus fiaradh breitheanais agus ceartais le làimh làidir ann am mòr-roinn, na biodh iongnadh ort ris an ni ſo [k]: oir bheir an ti a's airde na'n neach a ta ard aca-ſan an aire, agus *tha iad ann* a's airde na iadſan.

9 A nis a ta tairbhe na talmhainn air ſon nan uile: riaruichear an righ *féin* as an fhearann.

10 An ti a ghràdhaicheas airgiod, cha sàſuichear e le h-airgiod; no'n ti a ghràdhaicheas pailteas, le toradh [l]: *is* dìomhanas ſo mar an ceudna.

11 An uair a mheudaichear nithe maithe [m], meudaichear iad a dh'itheas iad, agus ciod an tairbhe *a tha* annta d'an ſealbhadairibh, ach *am* faicinn le'n sùilibh?

12 *Tha* codal oibriche milis, cia dhiubh a dh'itheas e beagan no mòran: ach cha'n fhuiling sàìachd [n] an t-ſaibhir dha codal.

13 Tha olc cràiteach ann *a* chunnaic mi fuidh'n ghréin, ſaibhreas air a ghleidheadh d'a ſhealbhadairibh chum an aimhleis [o].

14 Ach théid as do'n t-ſaibhreas ſin le droch ſhaothair [p]: agus ginidh e mac, agus cha *bhi* ni air bith na làimh.

15 Mar a thàinig e mach lomnochd a broinn a mhàthar, ath-phillidh e, a' dol mar a thàinig e; agus cha ghiùlan e ni air bith d'a ſhaothair

a *ſnàithne tri-fillte.* b *do nach aithne comhairle a ghabhail.* Eabh. c *gainntir, tigh nam braighde.* d *Dh'amhairc mi air* e *Gleidh.* f *obann.* g *lìonmhoireachd, mòran.* h *ìoc e.* i *foirneart air a dheanamh air an duine bhochd.* k *an rùn ſo.* Eabh. l *cinneas.* m *maoin, ſaibhreas.* n *làine, pailteas.* o *dochair, call.* p *ann an droch ghnothuchaibh.*

air a bheir e leis na làimh.

16 *Is* olc cràiteach so mar an ceudna, air gach uile chor air an d'thàinig e, mar sin gu'n dthéid e: agus ciod an tairbhe a tà aige-san a shaothraich do'n ghaoith?

17 Mar an ceudna rè a laithean uile ithidh e ann an dorchadas, agus *bithidh* mòran doilgheis [a] agus feirge *aige* na thinneas.

18 Feuch, an ni a chunnaic mise maith, gur tlachdmhor *do dhuine* itheadh agus òl, agus maith a mhealtuinn na uile shaothair a ghabh e fuidh'n ghréin, air feadh uile laithean a bheatha a bheir Dia dha; oir *is* e sin a chuibhrionn.

19 Gach duine mar an ceudna d'an d'thug Dia beartas agus saibhreas [b], agus d'an d'thug e comas itheadh dhiubh, agus a chuibhrionn a ghlacadh, agus gairdeachas a dheanamh na shaothair; *is* e so tiodhlacadh Dhé.

20 Oir cha mhòr a chuimhnicheas e laithean a bheatha; a chionn gu'm freagair Dia *e* ann an aoibhneas a chridhe.

CAIB. VI.

THA olc ann a chunnaic mi fuidh'n ghréin, agus *tha* e coitchionn am measg dhaoine [c].

2 Duine d'an d'thug Dia beartas, agus saibhreas, agus urram, agus gun e dh'easbhuidh ni air bith d'a anam do na h-uile a mhiannuicheas e, ach do nach 'eil Dia a' tabhairt comais itheadh dheth, ach a ta coigreach 'ga itheadh: *is* dìomhanas so, agus *is* droch anshocair e.

3 Ma ghineas duine ceud *leanabh*, agus gu'm bi e beo iomadh bliadhna, air chor as gu'm bi laithean a bhliadhnan lìonmhor, agus nach sàsuichear 'anam le maith, agus mar an ceudna nach bi adhlacadh aige, *is* fearr, tha mi 'g ràdh, torraicheas anabuich [d] na e.

4 Oir an [e] dìomhanas thig e, agus an dorchadas théid e, agus le dorchadas còmhdaichear [f] 'ainm.

5 Mar an ceudna cha'n fhac e a' ghrian, agus cha b'aithne dha *ni air bith*: *tha* tuille foise aige so na aig an fhear eile.

6 Seadh, ge do bhi e beo mìle bliadhna dà uair, gidheadh cha'n fhaic e maith: nach imich iad uile do aon àite?

7 *Tha* uile shaothair an duine air son a bheoil, agus gidheadh cha 'n'eil a mhiann [g] sàsuichte.

8 Oir ciod tuilleadh a th'aig an duine ghlic na aig an amadan? ciod a th'aig a' bhochd, d'an aithne siubhal an làthair nam beo?

9 *Is* fearr sealladh [h] nan sùl na seacharan a' mhiann: *is* dìomhanas so mar an ceudna agus buaireadh spioraid.

10 An ni [i] a bha ann, dh'ainmicheadh e a cheana, agus a ta fhios gu'm *b'*e'n duine e, agus nach urrainn e gleachdadh [k] ris-san a's treise na e féin.

11 O tha mòran do nithibh ann a mheudaicheas dìomhanas, ciod *is* feirrd an duine sin?

12 Oir cò aig am bheil fios ciod a *tha* maith do dhuine sa' bheatha *so*, rè uile laithean a bheatha dhìomhain a chaitheas e mar sgàile? oir cò is urrainn innseadh do dhuine ciod a bhios na dhéigh fuidh'n ghréin?

CAIB. VII.

IS fearr deadh ainm na ol'-ungaidh luachmhor, agus latha bàis na latha breith neach.

2 *Is* fearr dol do thigh a' bhròin [l], na dol do thigh na cuirme; oir *is* e sin crìoch nan uile dhaoine, agus gabhaidh am beo g'a chridhe *e*.

3 *Is* fearr doilgheas [m] na gàire; oir le dubhachas na gnùise nìthear an cridhe ni's fearr.

4 *Tha* cridhe nan daoine glice ann an tigh a' bhròin, ach cridhe nan amadan ann an tigh an t-subhachais.

5 *Is* fearr éisdeachd ri achmhasan duine ghlic, na gu'n éisdeadh duine ri h-òran amadana.

6 Oir

a *do-bhròin.* b *maoin.* c *bith-dheanta, ro-throm air daoinibh.* d *gin neo-inbhidh.* e *le.* f *folaichear.* g *'anam.* Eabh. h *beachd.* i *Gach ni.* k *strì.* l *na caoidh.* m *fearg.*

6 Oir mar fhuaim droighnich fuidh phoit, mar fin *tha* gàire an amadain: *is* dìomhanas fo mar an ceudna.

7 Gu cinnteach cuiridh foirneart duine glic air boile[a], agus millidh tiodhlacadh an cridhe.

8 *Is* fearr deireadh ni na a thoifeach: *is* fearr efán a tha foighidneach na fpiorad na efan a tha ardanach[b] na fpiorad.

9 Na deifrich[c] ann ad fpiorad gu fearg a ghabhail; oir còmhnuichidh fearg ann an uchd amadana.

10 Na h-abair, Ciod a b'*aobhar* gu'n robh na ceud laithean ni b'fhearr na iad fo? oir cha'n ann o ghliocas a dh'fheòraicheas tu mu'n ni fo?

11 *Is* maith gliocas maille ri h-oighreachd: agus *leis fin tha* tairbhe acafan a chi a' ghrian.

12 Oir *is* dìdean[d] gliocas, *agus is* dìdean airgiod: ach *is* e òirdheirceas an eòlais, *gu'n* toir gliocas beatha dhoibhfan aig am bi e.

13 Smuainich air[e] obair Dhé: oir cò is urrainn an ni fin a dheanamh dìreach a rinn efan càm?

14 Ann an là an t-foirbheis[f] bi fubhach, ach ann an là an doirbheis[g] fmuainich: rinn Dia mar an ceudna fo fa chomhair fud, a chum nach faigheadh duine *mach* aon ni na dhéigh[h].

15 Chunnaic mi na h-uile nithe ann an laithibh mo dhìomhanais; tha fìrean[i] ann d'an dthéid as[k] na fhìreantachd, agus tha duine aingidh ann a fhìneas *a laithean* na aingidheachd.

16 Na bi anbharrach fìreanta, agus na gabh ort a bhi ro-ghlic: c'ar fon a fgriofadh tu thu féin?

17 Na bi ro-aingidh, agus na bi amaideach: c'ar fon a dh'eugadh tu roimh t'àm?

18 *Is* maith dhuit greim a ghabhail deth fo, agus o fo mar an ceudna na tabhair air a h-ais do làmh; oir an ti air am bi eagal Dé, thig e afda fin uile.

19 Neartuichidh gliocas duine glic ni's mò na deichnear dhaoine cumhachdach a ta fa' chathair[l].

20 Oir cha *'n'eil* duine ceart[m] air an talamh, a ni maith, agus nach peacaich.

21 Mar an ceudna na tabhair aire do na h-uile bhriathraibh a labhrar, air eagal gu'n cluinn thu t'òglach 'gad mhalluchadh.

22 Oir a ta fhios aig do chridhe, gur minic a mhalluich thu féin daoin' eile mar an ceudna.

23 So uile dhearbh mi le gliocas: thubhairt mi, Bithidh mi glic, ach b'fhada fin uam.

24 An ni fin a ta fad as, agus rodhomhain, cò dh'fheudas 'fhaotainn a mach[n]?

25 Leig mi mo chridhe air faotainn eòlais air, agus air rannfachadh[o] agus air fireadh gliocais, agus aobhair[p] *nithe*, agus air fios a bhi agam air aingidheachd amaideachd, agus air amaideachd na mi-chéille[q].

26 Agus fhuair mi ni's feirbhe na'm bàs a' bhean, aig an ribeachan agus liontan a cridhe, *agus* ceanglaichean a làmhan: ge b'e neach a thaitneas ri Dia[r], théid e as uaithe[f], ach glacar am peacach leatha.

27 Feuch, an ni fo fhuair mi, ars' an fearmonuiche, *a'meas* gach aoin an déigh a chéile, a dh'fhaotainn an aobhair[s] a mach.

28 Ni a ta m'anam ag iarraidh fathaft, ach nach d'fhuair mi: aon fhear am meafg mhìle fhuair mi, ach bean nam meafg fin uile cha d'fhuair mi.

29 Feuch, an ni fo a mhàin fhuair mi, gu'n d'rinn Dia an duine dìreach[t]; ach dh'iarr iad féin iomadh innleachd[u] a mach.

a *air a' chuthach.* b *uaibhreach, dian.* c *na luathaich, na bi cabhagach.* d *fgàile.* e *Faic.* Eabh. f *latha maith.* g *latha olc, latha na h-urchoid.* h *aon do na nithibh a ta gu teachd air.* i *duine ceart, ionraic.* k *o bhàfaichcas.* l *fa' bhaile.* m *fireanta.* n *a thuigfinn.* o *lorgachadh.* p *aireimh.* q *eadhon amaideachd agus cuthaich.* r *a tha maith an làthair Dhé.* Eabh. f *uaipe.* s *aireimh.* t *ceart, cothromach.* u *ais-innleachd.*

CAIB. VIII.

CO a *ta* mar an duine glic? agus cò d'an aithne[a] eadar-mhìneachadh ni? Bheir gliocas duine air a ghnùis dealrachadh, agus atharraichear dànachd a ghnùiſe.

2 Comhairlicheam dhuit àithne an righ a choimhead[b], agus *ſin* air ſon mionnan Dé.

3 Na biodh cabhag ort gu dol as a fhealladh: na buanaich ann an droch ni, oir ni eſan gach ni a's àill leis.

4 Far *am bheil* focal righ, *tha* cumhachd; agus cò dh'fheudas a ràdh ris, Ciod e ſin a ta thu a' deanamh?

5 Ge b'e ghleidheas an àithne, cha mhothaich e droch ni ſam bith, agus *is* aithne do chridhe duine ghlic àm agus breitheanas.

6 A chionn aig gach ni[c] gu bheil àm agus breitheanas[d]; uime ſin *tha* truaighe an duine trom[e].

7 Oir cha *'n'eil* fhios aige air an ni a bhios ann: oir cò dh'innſeas dha cionnus a bhitheas e[f].

8 Cha *'n'eil* duine ſam bith aig am bheil cumhachd os cionn an ſpioraid, a chumail an ſpioraid, no cumhachd ann an latha a' bhàis; agus cha *'n'eil* dol as anns a' chath *ſin*, cha mhò a theaſairgeas aingidheachd iadſan a ghnàthuicheas i.

9 So uile chunnaic mi, agus fhuidhich mi mo chridhe air gach obair a nìthear fuidh'n ghréin: *tha* àm ann ſan riaghluich duine os cionn duin' eile, g'a aimhleas féin.

10 Agus mar ſin chunnaic mi na h-aingidh adhlaicte[g], a thàinig agus a dh'imich o àit an naoimh, agus dhichuimhnicheadh iad anns a' chathair[h] ſan d'rinn iad mar ſin: *is* dìomhanas ſo mar an ceudna.

11 A chionn nach 'eil binn[i] an aghaidh droch oibre 'ga cur an gnìomh gu luath, uime ſin tha cridhe chloinn nan daoine làn-fhuidhichte air olc a dheanamh.

12 Ge do ni peacach olc ceud uair, agus gu'n sìnear a *laithean*[j], gidheadh a ta fios cinnteach agam gu'n éirich gu maith dhoibhſan air am bi eagal Dé, air am bi eagal na làthair.

13 Ach cha'n éirich gu maith do'n aingidh, cha mhò a ſhìneas e *a* laithean, mar ſgàile *bithidh* eſan air nach bi eagal an làthair Dhé[k].

14 Tha dìomhanas ann a nìthear air an talamh, gu bheil fìreana ann d'an tachair a réir oibre nan aingidh; agus gu bheil daoine aingidh ann, d'an tachair a réir oibre nam fìrean: thubhairt mi gur dìomhanas ſo mar an ceudna.

15 An ſin mhol mi ſubhachas, do bhrìgh nach *'eil* ni a's fearr aig duine fuidh'n ghréin na itheadh agus òl, agus a bhi ſubhach; oir fanaidh ſin aige d'a ſhaothair, rè laithean a bheatha, a bheir Dia dha fuidh'n ghréin.

16 An uair a leag mi mo chridhe air eòlas a' ghliocais fhaotainn, agus air na gnothuichean a nìthear air an talamh fhaicinn, (oir mar an ceudna *tha* neach ann nach faic codal a là no dh'oidhche le 'ſhùilibh.)

17 An ſin chunnaic mi[l] uile obair Dhé, nach urradh duine an obair a nìthear fuidh'n ghréin fhaotainn a mach; a chionn ge do ni duine a dhìchioll air[m] *a* faotainn a mach, gidheadh nach faigh e *i*; ſeadh fathaſt, ge do ſhaoil duine glic gu'm faigh e eòlas *oirre*, nach urrainn e *a* faotainn a mach.

CAIB. IX.

OIR chuir mi romham ann am chridhe ſo uile a chur an céill, Gu *bheil* na fìreana agus na daoine glice, agus an oibre, ann an làimh Dhé: cha'n aithne do dhuine ſam bith aon chuid gràdh, no fuath, *leis* na h-uile nithibh *a ta* fa'n comhair[n].

2 *Thig* na h-uile nithe air an aon ſeòl do na h-uile dhaoinibh: tachraidh an t-aon ni do'n fhìrean agus

do'n

a mar *eſan d'an aithne* b *a ghleidheadh.* c *rùn, tionnſgnadh.* d *modh, rioghuilt.* e *mòr air.* f *c'uin a bhios e ann.* g *air an tiodhlacadh.* h *mhòr-bhaile.* i *breitheanas.* j *gu'n cuirear a* laithean *am fad.* k *a laithean* a bhios *mar ſgàile a chionn nach 'eil eagal air an làthair Dhé.* l *thuig mi, thug mi fa'near.* m *ge do ſhaothraich duine chum.* n *rompa, nan làthair.*

do'n aingidh ; do'n mhaith agus do'n
ghlan, agus do'n neo-ghlan ; dha-ſan
a dh'iobras, agus dha-ſan nach iobair :
mar *a ta* 'n duine maith, is ann mar
ſin *a ta* 'm peacach ; agus eſan a
mhionnaicheas, mar an ti air am
bheil eagal mhionn.
3 *Is* olc ſo am meaſg nan uile
nithe a nìthear fuidh'n ghréin, gu
tachair an t-aon ni dhoibh uile ; agus
mar an ceudna gu bheil cridhe chloinn
nan daoine làn uilc, agus *gu bheil*
cuthach nan cridhe am fad is beo iad,
agus na dhéigh ſin *gu'n ditheid* iad
chum nam marbh.
4 Oir aig gach neach a tha ceang-
ailte ris na h-uile bheothaibh, tha
dòchas: oir is fearr madadh beo na
leòmhan marbh.
5 Oir *tha* fios aig na beothaibh
gu'm faigh iad bàs : ach cha *'n'eil*
fios ni air bith aig na mairbh, cha
mhò *a ta* luigheachd [a] aca ni's mò,
oir théid an cuimhne air dhì-chuimhn'.
6 Chaidh as mar an ceudna a nis
d'an gràdh, agus d'am fuath, agus
d'am farmad [b]; agus cha *bhi* cuibh-
rionn aca tuilleadh gu bràth an aon ni
a nìthear fuidh'n ghréin.
7 Imich romhad, ith t'aran le
gairdeachas, agus òl t'fhìon le cridhe
ſubhach ; oir tha Dia a nis toilichte
le t'oibribh.
8 Biodh t'earradh [c] ſgach àm geal;
agus na biodh dìth olaidh-ungaidh
air do cheann.
9 Caith do bheatha gu ſubhach leis
a' mhnaoi a's ionmhuinn leat rè uile
laithean beatha do dhìomhanais, a
thug e dhuit fuidh'n ghréin [d] : oir *is*
e ſo do chuibhrionn anns a' bheatha
ſo, agus ann ad ſhaothair a ghabhas
tu fuidh'n ghréin.
10 Ge b'e ni a gheibh do làmh r'a
dheanamh, dean *e* le d' dhìchioll ;
oir cha *'n'eil* obair, no innleachd [e],
no eòlas, no gliocas anns an uaigh,
d'am bheil thu a' dol.
11 Thionndaidh mi, agus chunnaic
mi fuidh'n ghréin nach ann do na
daoinibh luatha *a tha* a' chomh-ruith [f],
no do na daoinibh treuna an cath, no
do na daoinibh glic aran, no do
dhaoinibh tuigſeach [g] ſaibhreas, no
do dhaoinibh eòlach deadh-ghean,
ach gu'n tachair àm agus tuiteamas [h]
dhoibh uile.
12 Oir gu deimhin cha 'n'eil fhios
aig duine air 'àm féin : mar iaſg a
ghlacar ann an droch lìon, agus mar
eoin a ghlacar ann an ribe, is ann
mar ſin a ribear clann nan daoine ann
an droch àm, an uair a thuiteas e orra
gu h-obann.
13 An gliocas ſo mar an ceudna
chunnaic mi fuidh'n ghréin, agus *bu*
mhòr agam e.
14 *Bha* cathair [i] bheag ann, agus
beagan dhaoine innte ; agus thàinig
righ mòr na h-aghaidh, agus ſhuidh e
mu'n cuairt oirre, agus chuir e daing-
nichean mòra ſuas na h-aghaidh.
15 Agus fhuaradh innte duine
bochd glic, agus theaſairg e a' chath-
air le 'ghliocas ; ach cha do chuimhn-
ich neach air bith air an duine bhochd
ſin.
16 An ſin thubhairt miſe, *Is* fearr
gliocas na neart : gidheadh, nìthear
tàir air gliocas an duine bhochd, agus
cha'n éiſdear r'a bhriathraibh.
17 Eiſdear ri briathraibh dhaoine
glice an ciuineas, ni's mò na ri glaodh
an ti a riaghlas am meaſg amadan.
18 *Is* fearr gliocas na innealan cog-
aidh : ach millidh aon pheacach mòr-
an maith.

CAIB. X.

BHEIR cuileaga marbha air oladh-
ungaidh an léigh [k] boladh breun
a chur uaithe [l] : *is amhuil* a ni beag-
an amaideachd airſan a tha cliuiteach
air ſon gliocais agus urraim.
2 *Tha* cridhe duine ghlic air a
làimh dheis, ach cridhe amadain air
a làimh chlì.
3 San t-ſlighe féin, an uair a
ſhiubhlas an t-amadan, tréigidh a
ghliocas e, agus their e ris gach
duine,

a *luaigheachd, duais.* b *tnùth.* c *do thruſgan, t'eudach.*
d *fo'n ghréin,* ſeadh, *rè uile laithean do dhìomhanais.* e *ſmuaineachadh.*
f *an rèis, a' choimhliong.* g *crionna.* h *teagmhus, cinneamhuin.*
i *baile.* k *an ollaimh, an luſragain.* l *uaipe.*

duine, gur h-amadan e.
4 Ma dh'éireas ſpiorad an uachd-
arain a'd' aghaidh, na ſàg t'àite; oir
ciuinichidh géilleadh[a] lochdan mòra.
5 Tha olc *a* chunnaic mi fuidh'n
ghréin, mar ſheacharan a thig o
làthair an uachdarain[b].
6 Cuirear amaideachd an inbhe[c]
mhòir, agus ſuidhidh na ſaibhir an
ionad ioſal.
7 Chunnaic mi òglaich[d] air each-
aibh, agus uachdarain a' ſiubhal mar
òglachaibh air an talamh.
8 An ti a chladhaicheas ſlochd,
tuitidh e féin ann; agus an ti a bhriſ-
eas callaid[e], teumaidh nathair e.
9 An ti a dh'atharraicheas clachan,
goirtichear e leo; agus an ti a ſgoilt-
eas fiodh, bithidh e an cunnart uaith.
10 Ma bhios an t-iarunn maol, a-
gus nach geuraich e am faobhar,
feumaidh e an tuilleadh ſpionnaidh a
chur leis; ach *a ta* gliocas tarbhach
a ſheòladh.
11 Gu deimhin teumaidh an nath-
air gun ſrann[f], agus cha'n fhearr am
bith-bhriathrach[g].
12 *Tha* briathra beoil duine ghlic
gràſail; ach ſluigidh bilean amadain
e féin ſuas.
13 *Is* amaideachd toiſeach bhriath-
ar a bheoil; agus *is* cuthach millt-
each deireadh a chainnte[h].
14 Agus tha amadan làn do bhriathr-
aibh: cha 'n'eil fhios aig duine ciod
a bhios ann; agus ciod a bhios ann
na dhéigh cò a's urrainn innſeadh
dha?
15 Sgìthichidh ſaothair nan amad-
an gach aon diubh, do bhrìgh nach
aithne dha cionnus a théid e do'n
chathair[i].
16 Mo thruaigh thu, a thìr, an
uair *is* leanabh a's righ dhuit, agus a
dh'itheas t'uachdarain *biadh* anns a'
mhaduinn!
17 *Is* ſona thu, a thìr, an uair *is* e
do righ mac nan uaſal, agus a dh'ith-
eas t'uachdarain ann an àm iom-
chuidh, chum neirt, agus cha'n ann
chum miſge!
18 Le mòran leiſge théid an ait-
reabh ſios[j], agus le dìomhanas nan
làmh ſnidhidh an tigh troimhe.
19 Nìthear cuirm chum aiteis, a-
gus ni fìon duine[k] ſubhach: ach
freagraidh an t-airgiod na h-uile nithe.
20 Eadhon ann ad ſmuaintibh na
malluich an righ, agus an taobh a
ſtigh do d' ſheòmar na malluich an
ſaibhir; oir giùlainidh eun an athair[l]
an guth, agus innſidh an ni air am
bheil ſgiathan a' chùis.

CAIB. XI.

TILG t'aran air aghaidh nan uiſge;
oir an déigh mhòrain do laith-
ibh gheibh thu e.
2 Thoir cuibhrionn do ſheachdnar,
agus mar an ceudna do ochdnar; oir
cha 'n'eil fhios agad ciod an t-olc a
bhios air an talamh.
3 Ma bhios na neoil làn do uiſge,
falmhaichidh ſiad *iad féin* air an ta-
lamh; agus ma thuiteas craobh mu
dheas no mu thuath, anns an àite ſan
tuit a' chraobh, an ſin bithidh i.
4 An ti a bheir an aire do'n ghaoith,
cha chuir e sìol; agus an ti a dh'amh-
airceas air na neulaibh, cha bhuain e.
5 Mar nach 'eil fhios agad ciod i
ſlighe an ſpioraid[m], *no* cionnus *a*
dh'fhàſas na cnàmhan am broinn na
mnà a bhios torrach, is amhuil ſin
nach 'eil fhios agad air oibribh Dhé,
mar a ni e na h-uile nithe.
6 Anns a' mhaduinn cuir do ſhìol,
agus ſan fheaſgar na toir air do làmh
ſgur; oir cha 'n'eil fhios agad cia
dhiubh is fearr a ſhoirbhicheas ſo no
ſud, no am *bi* iad le chéile co-maith.
7 Gu deimhin *is* milis an ſolus, a-
gus *is* taitneach do na sùilibh ſeallt-
uinn air a' ghréin.
8 Ach ma mhaireas duine iomadh
bliadhna, *agus* gu dean e gairdeach-
as[n] annta uile; gidheadh cuimhn-
icheadh e laithean an dorchadais,
gu'm

a *ceannſachd, macantachd.* b *o'n uachdaran.* c *airde.* d *ſeir-bhiſich, tràillean.* e *fàl, gàradh, balladh-dìonaidh.* f *druidheachd.* g *sior-chainnteach.* h *a' bheoil.* Eabh. i *mhòr-bhaile.* j *aomaidh an aitreabh, théid an aitreabh mu làr.* k daoine *beo.* Eabh. l *coit nan ſpeur.* m *na gaoithe.* n *deanadh e gairdeachas.*

gu'm bi iad lìonmhor. *Is* dìomhanas
gach ni a thig.
9 Dean gairdeachas, a dhuin' òig,
a' t'òige[a], agus deanadh do chridhe
ſubhach[b] thu ann an laithibh t'òige,
agus ſiubhail ann an dighibh do
chridhe, agus ann an ſealladh do
ſhùl: ach biodh fhios agad air an ſon
ſo uile gu'n toir Dia chum breith-
eanais thu.
10 Uime ſin atharraich dọilgheas[c]
o d' chridhe, agus cuir olc air falbh
o t' fheoil; oir *is* dìomhanas leanab-
achd agus òige.

CAIB. XII.

CUIMHNICH a nis do Chruith-
fhear[d] ann an laithibh t'òige,
mu'n dthig na droch laithean, agus
an druid na bliadhnacha *rìut*, anns
an abair thu, Cha 'n'eil tlachd agam
annta:
2 Mun dorchaichear a' ghrian, a-
gus an ſolus, agus a' ghealach, agus
na reultan, agus am pill na neoil an
déigh an uiſge:
3 Anns an là ſan crìothnuich luchd-
gleidhidh[e] an tighe, agus an crom
na daoine làidir iad féin, agus an
ſguir an luchd-bleath[f], a chionn gu
bheil iad tearc, agus an dorchaichear
an dream a ſheallas a mach air na
h-uinneagaibh[g];
4 Agus an dùinear na dorſan anns
na ſràidibh, an uair a bhios fuaim na
bleith ìoſal, agus a dh'éireas e ſuas
aig guth an eoin, agus a dh'ìſlichear
uile nigheanan a' chiuil;
5 Mar an ceudna *'nuair* a bhios
eagal orra roimh ni ard, agus *a bhios*
uamhalan anns an t-ſlighe, agus a
bhios a' chraobh-almoin fuidh bhlàth,
agus a bhios an leumnach-uaine[h] na
eallaich, agus a theirgeas miann[i];
a chionn gu bheil an duine a' triall
d'a chòmhnuidh bhuan[j], agus gu
bheil an luchd-cumhaidh[k] a' dol mu'n
cuairt ſna ſràidibh.
6 Mu'n fuaſgailear an cord[l] airg-
id, agus am bruthar[m] an copan[n]
òr, agus am briſear a' chuinneag[o]
aig an tobar, agus am briſear an rot
aig an t-ſoitheach-cumail[p].
7 An ſin pillidh an duſlach[q] chum
na talmhainn mar a bha e; agus pill-
idh an ſpiorad chum Dhé, a thug
uaith e.
8 Dìomhanas nan dìomhanas! ars'
an ſearmonuiche: *is* dìomhanas na
h-uile nithe.
9 Agus os barr, do bhrìgh gu'n
robh an ſearmonuiche glic, theagaiſg
e'n còmhnuidh eòlas do'n t-ſluagh;
agus thug e deadh aire, agus ſhir e
mach[r], agus dheaſaich e[ſ] mòran
ghnàth-fhocal.
10 Dh'iarr an ſearmonuiche briathra
taitneach fhaotainn: agus *bha* an ni
a ſcrìobhadh ceart, briathra na fì-
rinn.
11 *Tha* briathra nan daoine glice
mar bhioraibh, agus mar thairngibh
air an ſparradh[s] *le* uachdaranaibh
choimhthional, *a* thugadh le aon
aodhaire.
12 Agus tuilleadh, leo ſo, a mhic,
gabh rabhadh: air mòran leabhraich-
ean a dheanamh cha *'n'eil* crìoch, a-
gus *tha* mòran leughaidh na ſgìos do'n
fheoil.
13 Cluinneamaid brìgh na chaidh
ràdh uile[t]: Biodh eagal Dé ort, a-
gus gléidh 'àitheantan; oir *is* e ſo
dleaſdanas iomlan an duine.
14 Oir bheir Dia gach obair chum
breitheanais, maille ris gach ni
dìomhair, ma'*s* maith, no ma'*s* olc e.

 DAN

a *na t'òige.* b *ait, ſuilbhireach.* c *bròn, fearg.* d *Chruthadair.* e *coimheaduichean.* f *na meilteirean.* g *fuinneogaibh.* h *am fionn-an-feoir.* i *a thréigeas fonn.* j *d'a thigh sìorruidh.* k *luchd-caoidh.* l *ſnàithne, teud.* m *briſear.* n *a' chuach.* o *an ſoitheach-uiſge.* p *an t-ſlochd, an tiobairt.* q *luaithre.* r *rannſaich e.* ſ *chuir e'n ordugh.* s *air an daingneachadh.* t *crìoch*, no *comh-dhùnadh na cùiſe uile.*

DAN SHOLAIMH.

G

CAIB. I.

DAN nan dàn, dàn Sholaimh.
2 Pògadh e mi le pògaibh a
bhéil; oir *is* maith do ghràdh ſeach
fìon.
3 Air ſon fàile cùbhraidh *is* maith
t'oladh-ungaidh-ſa: *is* oladh-ungaidh
air a dòrtadh t'ainm [a]; uime ſin ghràdh-
aich na h-òighean thu.
4 Tarruing mi. A'd' dhéigh ruith-
idh ſinn. D'a ſheòmaraibh threòraich
an Righ mi. Ni ſinn luathghaire a-
gus bithidh aoibhneas oirnn annadſa:
cuiridh ſinn an cuimhne do ghràdh
ni's mò na fìon: ghràdhaich na fì-
reana thu.
5 Dubh *a ta* mi, ach ſgiamhach [b],
O a nigheana Ieruſalèim, mar bhùth-
aibh Chedair, mar chùirteinibh rìomh-
ach [c] Sholaimh.
6 Na biodh umhail agaibh ge *do*
tha mi dorcha, a chionn gu'n d'amh-
airc [d] a' ghrian orm: bha mic mo
mhàthar am feirg rium; rinn iad
coimheaduiche nam fìon-lios dìom:
am fìon-lios bu leam féin cha do
choimhid mi.
7 Innis dhomh, O thuſa d'am bheil
gràdh aig m'anam, c'àit an inealtair [e]
thu *do threuda*, c'àit an toir thu or-
ra luidheadh sìos mu mheadhon-là;
oir c'ar-ſon a bhithinn mar aon air
faondradh am meaſg threud do chomp-
anach [f]?
8 Mur 'eil fhios agad, O thuſa a's
àillidh [g] am meaſg bhan, imich a
mach air luirg an treud, agus inealt-
air do mheannain làimh ri bùthaibh [h]
nan aodhaire.
9 Ri h-eachaibh [i] ann an carbad-
aibh Pharaoih ſamhlaicheam thu, a
bhean mo ghaoil.
10 Is àillidh do ghruaidhean le
ſreathaibh *ſheud* [j], do mhuineal le
ſlabhraidhibh.
11 Sreathan òir ni ſinn dhuit, le
ballaibh [k] airgid.
12 Am feadh a ta'n Righ aig a
fhleadh [l], tha mo ſpiocnard a' ſgaoil-
eadh 'fhàile cùbhraidh.
13 *Is* ceanglachan mirr mo ghràdh [m]
dhomhſa; eadar mo chìochaibh luidh-
idh e rè na h-oidhche.
14 *Mar* bhagaid do'n chrann-
champair *tha* mo ghràdh dhomhſa,
ann am fìon-lioſaibh Engedi.
15 Feuch, *a ta* thu àillidh, a bhean
mo ghaoil [n]; feuch, *a ta* thu àillidh!
tha sùilean choluman agad.
16 Feuch, *a ta* thu àillidh, fhir
mo ghràidh, agus taitneach, agus *a*
ta ar n-uirigh [o] uaine.
17 *Is* croinn ſheudair [p] ſailthean
ar tighe, croinn-ghiuthais ar ceann-
fhiodh [q].

CAIB. II.

IS ròs o Sharon miſe, lili nan gleann.
2 Mar lili am meaſg droighnich,
is amhuil mo ghràdh-ſa am meaſg nan
nighean.
3 Mar chrann-ubhall am meaſg
chrann na coille *is* amhuil mo rùn-ſa
am meaſg nan òganach: fuidh a ſgàile
mhiannaich

a *Air ſon deadh bholaidh t'oladh-ungaidh maithe*, tha *t'ainm* mar *oladh-ungaidh*. b *gràdhach, ionmhuinn*. c *chroch-bhrataibh do obair ghréiſe*. d *do dhearrſaich*. e *am beathaich*. f *làimh ri treudaibh do chaidreamhach*. g *ſgiamhaiche*. h *bothanaibh*. i *ri buidheann each, ri m'eachaibh*. j *uſgraichibh*. k *rinnibh, tairnngibh, tacaidibh*. l *na ſhuidhe aig a bhord* m *m'aon gràdhach, m'annſachd, mo rùn*. n *mo chaidreach, mo leth-ſheiſe, mo chéile*. o *leaba*. *cheudair*. q *mullach*.

mhiannaich mi, agus ſhuidh mi sìos,
agus *bha* a thoradh milis do m' bhlas[a].
4 Threòraich e mi do thigh an
fhiona, agus *b'i* a bhratach tharum
an gràdh.
5 Cumaibh ſuas mi le cornaibh,
ſgapaibh ùbhlan mu m' thimchioll,
oir *a ta* mi tinn[b] le gràdh.
6 *Tha* a làmh chli fuidh m' cheann,
agus a làmh dheas timchioll orm.
7 Cuiream mar fhiachaibh oirbh[c],
a nigheana Ieruſaleim, air earbaibh
agus air eildibh na machrach, nach
cuir ſibh dragh air, agus nach dùiſg
ſibh *mo* ghràdh, gus an àill leis féin.
8 Guth mo ghràidh! Feuch, tha
e a' teachd, a' leumnaich air na
beanntaibh, a' toirt ſithidh air na
tulaichibh.
9 *Is* coſmhuil mo ghràdh ri h-earb
no ri laogh féidh[d]: feuch, tha e na
ſheaſamh air cùl ar ballaidh, a' ſeallt-
uinn a mach air na h-uinneagaibh,
ga nochdadh féin[e] troimh'n chleith.
10 Fhreagair mo ghràdh, agus
thubhairt e rium, Eirich, a bhean
mo ghaoil[f], m'aon ſgiamhach, thig
leam:
11 Oir feuch, tha'n geamhradh
ſeachad, tha'n t-uiſge thairis, dh'imich
e roimhe.
12 Chithear na blàthan air an ta-
lamh, tha àm ſeinn *nan eun* air teachd,
agus cluinnear guth an turtuir[g] nar
tìr.
13 Tha an crann-fìge a' cur a
mach 'fhige glaſa[h], agus tha dearca
maotha a' chroinn-fhìona a' toirt fàile
cùbhraidh uatha: éirich, a bhean mo
ghaoil, m'aon ſgiamhach, agus thig
leam.
14 Mo choluman, *a ta* ann an
ſgoltaibh na creige, ann an ionad-
dìomhair[i] a' bhruthaich, leig dhomh
amharc ort, leig leam do ghuth a
chluinntinn! oir *a ta* do ghuth binn,
agus t'engas[j] maiſeach.
15 Glacaibh dhuinn na ſionnaich,
na ſionnaich bheaga, a mhilleas na
croinn-fhìona, agus dearcan òga ar
crann-fìona[k].
16 *Is* leamſa mo ghràdh, agus *is*
leis-ſan miſe: *tha* e ag ionaltradh am
meaſg nan lili.
17 Gus am bris an là[l], agus an
teich[m] na ſgàilean, pill; bi coſ-
mhuil ri h-earb, a ghràidh, no ri
laogh féidh air beanntaibh Bheteir.

C A I B. III.

AIR mo leabaidh anns an oidhche
dh'iarr mi an ti d'am bheil
gràdh aig m'anam: dh'iarr mi e, ach
cha d'fhuair mi e.
2 Eiridh mi a nis, agus théid mi
mu'n cuairt anns a' chathair[n] anns
na ſràidibh, agus anns na ſlighibh
farſaing iarraidh mi eſan d'am bheil
gràdh aig m'anam: dh'iarr mi e, ach
cha d'fhuair mi e.
3 Thachair orm an luchd-faire a'
dol mu'n cuairt anns a' chathair: Am
faca ſibh an ti d'am bheil gradh aig
m'anam?
4 Cha deachaidh mi ach beagan
air m'aghaidh uatha[o], 'nuair a fhuair
mi eſan d'am bheil gradh aig m'an-
am: rinn mi greim air, agus cha
leiginn as e, gus an d'thug mi e do
thigh mo mhàthar, agus d'a ſeòmar-
ſa a rug mi.
5 Cuiream mar fhiachaibh oirbh,
a nigheana Ieruſàleim, air earbaibh
agus air eildibh na machrach, nach
cuir ſibh dragh air, agus nach dùiſg
ſibh *mo* ghràdh, gus an àill leis féin.
6 Cò iſe a ta 'g éirigh ſuas as an
fhàſach mar ſtuadhaibh deataich,
cùbhraidh le mirr agus tùis, le uile
mhìon-dhus[p] ceannuiche nan ipiſ-
raidh?
7 Feuch, uirigh[q] Sholaimh! Tri
fichead treun fhear m'a timchioll do
threun fhearaibh Iſraeil!
8 Fir chlaidheimh uile, cleachdta[r]
ann an cogadh, gach fear le 'chlaidh-
eamh air a leis, an aghaidh gabh[illegible]dh
na h-oidhche:

9 Rinn

a *chàirean.* Eabh. b *lag.* c *mionnaicheam ſibh, àithneam dhuibh.*
d *mang.* e *a' taſadh, a' ſradadh.* f *mo chaideach.* g *fhearain.*
Eir. h *uaine.* i *còs, ionad foluich.* j *nogas.* k *oir a ta dea[illegible]can*
ar craobh-fìona maoth. l *an éirich, an tog an [illegible]a; an cuir an là [illegible]a*
mach. Eabh. m *ſgapar, ſgaoilear.* n *mòr-bhaile.* o *ſeachad*
orra. p *phùdaraibh.* q *leaba.* r *teòma.*

9 Rinn Solamh an Righ leaba-phòsaidh [a] dha féin do chrannaibh Lebanoin.

10 A puist [b] dhealbh e do airgiod, a h-iochdar do òr, a còmhdach do chorcur; *bha* a meadhon air 'oibreachadh [c] *le sambhlaibh* gràidh le nigheanaibh [d] Ierusaleim.

11 Rachaibh a mach, a nigheana Shioin, agus faicibh Righ Solamh leis a' chrùn leis an do chrùn a mhàthair e air latha [e] a phòsaidh, agus air latha subhachais a chridhe.

CAIB. IV.

FEUCH, *is* àillidh thu, a bhean mo ghaoil [f]; feuch, *is* àillidh thu! *tha* sùilean choluman agad an taobh a stigh do d' chiabhaibh: *tha* t'fholt [g] mar threud ghabhar a nochdar o shliabh Ghilead [h].

2 *Is* cosmhuil do dheud ris an treud lomartai [i], a thàinig a nìos o'n àite-nighidh, a bheireas gach aon diubh càraid, agus gun aon chaora sheasg [j] nam measg.

3 Mar shnàthainn dearg [k] air a dhath dà uair *tha* do bhilean, agus *tha* do chainnt binn: mar mhìr [l] do phomgranat [m] *tha* do chamoga [n] am meadhon do chiabh.

4 Mar thùr Dhaibhidh tha do mhuineal, air a chur suas gu bhi na thigh-arm: *tha* mìle targaid crochta suas ris, uile sgiatha nan treun fhear.

5 *Tha* do dhà chìch mar dhà mheann earba, càraid na maoislich, a dh'ionaltras am measg nan lili.

6 Gus am bris [o] an là, agus an teich na sgàilean, théid mi gu beinn a' mhirr, agus gu tulach na tùise.

7 *Tha* thu uile àillidh, a bhean mo ghaoil, agus smal [p] cha '*n'eil* annad.

8 Leamsa o Lebanon, a chéile, leamsa thig o Lebanon: seall o mhullach Amana, o mhullach Shenir, agus Hermoin, o àitibh tàimh [q] nan leòmhan, o bheanntaibh nan leopard.

9 Dh'éignich thu [r] mo chridhe, a phiuthar, a chéile; dh'éignich thu mo chridhe le aon do d' shùilibh [ſ], le aon slabhraidh mu d' mhuineal.

10 Cia taitneach a ta do ghràdh, a phiuthar, a chéile! Cia mòr is fearr na fìon do ghràdh, agus fàile t'oladh-ungaidh na na h-uile spìosraidh!

11 *Mar* a' chìr-mheala silidh do bhilean, a chéile: *tha* mil agus bainne fuidh d' theangaidh, agus *tha* fàile [s] do thrusgain mar fhàile cùbhraidh Lebanoin.

12 *Is* lios [t] glaiste thu, a phiuthar, a chéile, fuaran dùinte, tobair air a sheulachadh.

13 *Tha* do gheuga *mar* lios phomgranat, leis a' mheas a's taitniche [u]; *le* croinn champhir maille ri preataibh spiocnaird,

14 Spiocnard [v] agus cròch [w], cuilc mhilis agus canal; leis na h-uile chraobhaibh tùise; mirr agus aloe [x], maille ris na spìosraidh a's taghta;

15 Fuaran [y] lios, tobar uisgeacha beo, agus a sruthadh o Lebanon.

16 Eirich, a ghaoth a tuath, agus thig, a ghaoth a deas, séid air feadh mo liosa, rachadh fàile cubhraidh a spìosraidh a mach. Thigeadh m'annsachd [z] d'a lios, agus itheadh e a thoradh taitneach.

CAIB. V.

THA mi air teachd do m' lios, a phiuthar, a chéile; thionail mi mo mhirr maille ri m' spìosraidh; dh'ith mi mo chìr-mheala maille ri m' mhil; dh'òl mi m'fhìon maille ri m' bhainne. Ithibh, a chairde, òlaibh,

a *carbad.* b *garmuinne.* c *air a sgaoileadh, air a leagadh.* d *o nigheanaibh, air son nigheana.* e *là, lò.* f *a bhanachara, a bhanacharaid.* g *do ghruag.* h *a dh'ionaltras mu bheinn Ghilead.* i *bhearrta, rùisgte.* j *air call a h-uain.* k *scarlaid, corcuir.* l *shlisig.* m *ghran-ubhal* n *leth-cheann, ghruaidhean.* o Faic Caib. II. r. 17. p *gaoid, aineamh.* q *thuinnidhibh, ghàraidhibh.* r *thug thu dh'aindeoin, thug thu leat, lìon thu thar tombas.* ſ *dh'aon bheum le d' shuilibh.* s *bolt.ach.* t *gàradh.* u *milse.* v *nard.* Eabh. w *cròthach; safron,* Sasg. x *aloes.* Sasg. y *tiobairt.* z *mo rùn, m'aon gràdhach.*

aibh, ſeadh, òlaibh gu pailt, a luchd mo ghràidh.

2 Tha mi m' chodal, ach a ta mo chridhe na fhaireach[a]. Guth fir mo ghràidh a' bualadh! Foſgail dhomh, mo phiuthar, mo bhanacharaid, mo choluman, mo bhean choimhlionta; oir tha mo cheann còmhdaichte le drùchd, mo chiabha le braonaibh na h-oidhche.

3 Chuir mi dhìom mo thruſcan; cionnus a chuireas mi orm e? dh'ionnnil mi mo choſan; cionnus a ſhalaicheas mi iad?

4 Chuir fear mo ghràidh a làmh troimh tholl *an doruis*, agus ghluaiſeadh m'innigh air a ſhon[b].

5 Dh'éirich mi a dh'fhoſgladh do fhear mo ghràidh; agus ſhil mo làmhan mirr, agus mo mheoir mirr ruidhteach, air làmhaibh na glaiſe.

6 Dh'fhoſgail mi do fhear mo ghràidh; ach thionndaidh fear mo ghràidh, agus dh'imich e roimhe. Thréig m'anam mi[c] 'nuair a labhair e. Dh'iarr mi e, ach cha d'fhuair mi e; ghairm[d] mi air, ach cha do fhreagair e mi.

7 Fhuair an luchd-faire a bha dol air an cuairtibh ſa' chathair mi; bhuail iad mi, lot iad mi; thug luchd-coimhid nam balladh m'fhalluing[e] dhìom.

8 Cuiream mar fhiachaibh oirbh, a nigheana Ieruſaleim, ma gheibh ſibh fear mo ghràidh, gu'n innis ſibh dha, mar *a ta* mi tinn le gràdh.

9 Ciod e fear do ghràidh-ſa thar fear-gràidh *eile*, O thuſa a's àillidh[f] am meaſg bhan? ciod e fear do ghràidh-ſa thar fear-gràidh *eile*, gu'n do chuir thu air an dòigh ſo mar fhiachaibh oirnn?

10 *Tha* fear mo ghràidh-ſa geal agus dearg, sònruichte[g] am meaſg dheich mìle.

11 *Tha* a cheann *mar* an t-òr a's gloine, a chiabha bachlagach[h], dubh mar am fitheach.

12 *Tha* a ſhùile mar *ſhùilibh* choluman làimh ri ſruthaibh uiſgeacha, a nigheas iad féin ann am bainne, air an ſuidheachadh gu ceart[i].

13 *Tha* a ghruaidhean mar leabaidh ſpìoſraidh, *mar* bhlàthaibh cùbhraidh; a bhilean *mar* lilidhibh, a' ſileadh mirr ruidhtich[j].

14 *Tha* a làmhan *mar* fhàinnibh òir ſuidhichte le berilibh; a chom *mar* fhiacail *elephaint*[k] liobhta, air a cur thairis[l] le ſaphiribh.

14 *Tha* a choſan *mar* phuſtaibh marmoir, ſuidhichte air bonnaibh do'n òr a's gloine; 'eugas[m] mar Lebanon, barraichte[n] mar na ſeudair[o].

16 *Is* ro-mhilis a bheul; ſeadh, *tha* e gu léir ionmhuinn. *Is* e ſo fear mo ghràidh-ſa, agus *is* e ſo mo charaid, a nigheana Ieruſaleim.

C A I B. VI.

C'AIT an deachaidh fear do ghràidh, O thuſa a's àillidh[p] am meaſg bhan? cia an taobh a thionndaidh fear do ghràidh? agus iarruidh ſinn e maille riut.

2 Chaidh fear mo ghràidh-ſa ſìos d'a lios[q], gu leapaichibh nan ſpìoſraidh, a dh'ionaltradh[r] anns na lioſaibh, agus a thional lili.

3 *Is* ie fear mo ghràidh miſe, agus *is* leamſa fear mo ghràidh: tha e ag ionaltradh[ſ] am meaſg nan lili.

4 *Is* àillidh thu, a bhean mo ghaoil, mar Thirſah, maiſeach mar Ieruſalem, uamhaſach *mar* ſhluagh le'm brataichibh.

5 Tionndaidh uam do ſhùilean, oir chlaoidh iad mi: *tha* t'fholt mar threud ghabhar a nochdar o Ghilead.

6 *Tha* do dheud mar threud chaorach, a thàinig a nìos o'n àite-nighidh, a bheireas gach aon diubh càraid, agus gun aon chaora ſheaſg[s] nam meaſg.

7 Mar

a *na dhùiſg*. b *bha mo chridhe fo bhuaireas leis*. c *chaidh m'anam ann an neul, dh'fhàilnich m'anam, lagaich m'anam*. d *ghoir, ghlaodh*. e *m'fholach, mo chòmhdach*. f *maiſiche*. g *coſmhuil ris-ſan a ghiùlaineas a' bhratach*. h *caiſreagach, dualach*. i *a' ſuidhe ann an lànachd*. Eabh. j *chùbhraidh, ...headh-bholaidh*. k *ivory* Saſg. l *còmhdaichte*. m *'aogas, a hoſtas, a dh...each*. n *taghta, òirdheirc*. o *ceudair*. p *ſgiamhaiche*. q *gharadh*. r *a dh'itheadh*. ſ *ag itheadh*. s *air call a h-uain*.

7 Mar mhìr do phomgranat *tha* do
chamoga, am meadhon do chiabh [a].
8 Tha tri fichead banrighina, agus
ceithir fichead leannan [b] ann, agus
òighean gun àireamh.
9 *Is* iſe na h-aonar mo choluman,
mo bhean choimhlionta; *is* i aon
nighean a màthar i, a ſeircin-ſe a rug
i [c]. Chunnaic na nigheana i, agus
bheannaich iad i; na banrighinnean
agus na leannain, agus mhol iad i.
10 Cò iſe a chithear [d] mar a' mhad-
uinn, ſgiamhach mar a' ghealach,
glan mar a' ghrian, uamhaſach mar
ſhluagh le'm brataichibh?
11 Do lios nan cnò chaidh mi sìos,
a ghabhail beachd [e] do thoradh a'
ghlinne, a dh'fhaicinn an robh an
fhìonain fuidh bhlàth, an robh na
pomgranait a' briſeadh a mach.
12 Mun d'thug mi an aire, ar leam
gu'n do thairngeadh a mach dhomh [f]
carbada Aminadaib [g].
13 Pill, pill, a Bhan-Sulamach,
pill, pill, agus amhairceamaid ort.
C'ar ſon a dh'amhairceadh ſibh air a'
Bhan Sulamaich? mar bhuidheann dà
fheachd [h].

CAIB. VII.

CIA àillidh do choſan ann am bròg-
aibh, a nighean rìoghail [i]! *tha*
uilt do ſhliaſad mar uſgraichibh [j], ob-
air làmh fir-ceirde.
2 *Tha* t'imleag *mar* chuaich chruinn,
air nach bi eaſbhuidh [k] dibhe; do
bholg *mar* dhùn cruithneachd, cuart-
aichte le lilidhibh.
3 *Tha* do dhà chìch mar dhà mheann
earba, càraid na maoiſlich.
4 *Tha* do mhuineal mar thùr ìbho-
ri [l]; do ſhùilean *mar* lochaibh eiſg
ann an Heſhon, làimh ri geata Bhat-
rabim; do ſhròn mar thùr Lebanoin,
a ſheallas a làimh Dhamaſcuis.
5 *Tha* do cheann ort coſmhuil ri
Carmel, agus folt [m] do chinn coſmhuil
ri corcur: *tha* an righ ceangailte na
ſheòmraichibh [n].
6 Cia àillidh, agus cia taitneach a
ta thu, a ghaoil, ann ad mhaiſeal-
achd [o]!
7 Tha'n airde ſin agad coſmhuil ri
craoibh-phailme, agus *tha* do chìocha
mar bhagaidibh *fhìon-dhearc*
8 Thubhairt mi, Streapaidh mi
ſuas do'n chraoibh-phailme, gabhaidh
mi greim d'a geugaibh: agus a nis
bithidh do chìocha mar bhagaidibh
do'n fhìon-chraoibh [p], agus cùbh-
raidheachd t'eudain [q] mar chùbh-
raidheachd nan ubhall:
9 Mar an ceudna do chàirean mar
am fìon a's fearr, air ſon mo ghràidh,
a théid *sìos* gu milis [r], a' toirt cainnte
do bhilibh an dream a choidleas.
10 *Is* le fear mo ghràidh miſe, agus
is ann ormſa *a tha* a chion [ſ].
11 Thig, fhir mo ghràidh, rach-
amaid a mach do'n mhachair, fanam-
aid [s] re na h-oidhche anns na bailt-
ibh.
12 Anns a' mhoch thrath racham-
aid do na fìon-lioſaibh, feallamaid
am bheil an fhìon-chraobh air teachd
fuidh bhlàth [t], am bheil an fhìon-
dhearc bheag 'ga nochdadh féin, am
bheil na pomgranait air briſeadh a
mach [u]: an ſin bheir mi mo ghràdh
dhuit.
13 Tha na mandraga [v] a' tabhairt
fàile cùbhraibh uatha; agus aig ar
geataibh, gach meas a's taghta, ùr
agus ſean, fhir mo ghràidh, thaiſg mi
dhuitſe.

CAIB. VIII.

IS truagh nach robh thu mar mo
bhràthair, a dheothail cìochan mo
mhàthar! Nam faighinn a muigh
thu, phògainn thu, agus cha deant-
adh tàir orm [w].

2 Threòraichinn

a Faic Caib. IV. r. 1. 2. 3. b *coimhleabach.* c *aon taoghta na te a rug i.* d *a ſhealltas a mach.* e *ſeallaidh.* f *ſhaoil mi gu'n do thairngeadh a mach air mo ſhon; ſhuidhich m'anam dhomh.* Eabh. g *mo ſhluaigh dhi'is.* h *Mahanaim.* Eabh. i *a nighean an uachdarain.* j *ſheudaibh.* k *dibh.* l *do fhiaclaibh elephant.* m *falt, grag.* n *blaiſibh.* o *thaitneachd.* p *fhìonain* q *ſolaidh do ſhona.* r *gu dìreach.* Eabh. ſ *a dhéidh* s *tàmhamaid.* t *air briſeadh a mach* u *fuidh bhlàth.* v *dudaim.* Eabh. w *gidheadh cha'n fhaighinn masladh.*

2 Threòraichinn thu, bheirinn leam
thu do thigh mo mhàthar, *a* theag-
aifgeadh mi [a]; bheirinn ort òl do fhìon
fpìofradhach [b], do fhùgh mo phom-
granait.

3 *Bhiodh* a làmh chlì fo m' cheann,
agus bhiodh a làmh dheas timchioll
orm.

4 Cuiream mar fhiachaibh oirbh,
a nigheana Ierufaleim, [air earbaibh
agus air eildibh na machrach], nach
cuir fibh dragh air, agus nach dùifg
fibh *mo* ghràdh gus an àill leis féin.

5 Cò ife a ta teachd a nìos o'n fhàf-
ach, an taice ri fear a gràidh ? Fuidh'n
chraoibh-ubhall thog mi fuas thu:
an fin bha do mhàthair ri faothair
ort; an fin bha i ri faothair, rug i thu.

6 Cuir mife mar fheula air do
chridhe, mar fheula air do ghairdean;
oir làidir mar am bàs *a ta* 'n gràdh, an-
iochdmhor mar an uaigh an t-eud:
is eibhle teine 'eibhle-fan, lafair ro-
gharg.

7 Cha'n urrainn uifgeacha lìon-
mhor an gràdh a mhùchadh [c], agus
cha bhàth na tuiltean e. Nan dthug-
adh duine uile mhaoin a thighe air
fon gràidh, dheanadh daoine tàir air
gu tur.

8 *Tha* piuthar bheag againn, agus
cha 'n'eil cìochan aice: ciod a ni finn
air fon ar peathar, fan là anns an
labhrar m'a timchioll ?

9 Ma's balladh i togaidh finn oirre
lùchairt airgid; agus ma's dorus i,
dùinidh finn fuas [d] i le bordaibh feud-
air [e].

10 *Bu* bhalladh mi, agus *bha* mo
chìochan mar thùraibh: an fin bha
mi na fhùilibh mar aon a fhuair deadh-
ghean.

11 Bha fìon-lios aig Solamh ann
am Baal-hamon; dh'earb e am fìon-
lios ri [f] luchd-coimhid; bha gach
fear gu tabhairt *da*, air fon a thor-
aidh, mìle *bonn* airgid.

12 *Tha*'m fìon-lios a's leamfa fa
m' chomhair: *tha* am mìle *bonn*
dhuitfe, a Sholaimh, agus dà cheud
do luchd-coimhid a thoraidh. ¶

13 O thufa a chòmhnuicheas anns
na liofaibh, tha do chompanaich [g]
a' cluinntinn do ghutha, thoir ormfa
a chluinntinn.

14 Luathaich ort, fhir mo ghràidh,
agus bi cofmhuil ri h-earb, no ri laogh
féidh air bheanntaibh nan fpìofraidh.

a *Talmadni.* Eabh. b *meafgta le fpìofraidh.* c *a chur ar.*
d *còmhdaichidh finn.* e *ceudair.* f *fhuidhich e am fìon-lios air.*
g *chaidreamhaich.*

ISAIAH.

CAIB. I.

TAISBEANADH Ifaiah mhic
Amois, a chunnaic e mu thim-
chioll Iudah agus Ierufaleim, ann an
laithibh Ufiah, Iotaim, Ahais, *agus*
Hefeciah, righrean Iudah.
2 Chluinnibh O nèamha, agus tabhair
éifdeachd O thalamh, oir tha an Tigh-
earn a' labhairt: Dh'altruim mife,
agus thog mi fuas clann; agus rinn
iadfan ceannairc a'm' aghaidh.
3 Is aithne do'n damh a fhealbh-
adoir, agus do'n afail prafach a maigh-
ftir; *ach* cha n-aithne do Ifrael; cha
'n'eil mo fhluagh-fa a' toirt fa'near.
4 Ah, cinneach peacach! fluagh
luchdaichte le h-aingidheachd! fiol
nan daoi [a]! clann a ta nam milltear-
aibh! thréig iad an Tighearn, bhrof-
naich iad Ti naomha Ifraeil gu feirg,
dh'fhalbh iad air an ais.
5 C'ar fon a bhuailear fibh ni's
mò? théid fibh ni's faide agus ni's
faide air feacharan Tha an ceann
uile tinn, agus an cridhe uile fann.
6 O bhonn na coife gu ruig an
ceann, cha 'n'eil fallaineachd ann;
ach lot, agus bruthadh, agus creuchd
lobhta; cha do theannaicheadh ri
chéil' iad, cha do cheangladh fuas
iad, cha do thaificheadh le h-olach
iad.
7 Tha bhur tìr fàs, tha bhur bailt-
ean air an lofgadh le teine; bhur
fearann, tha coigrich 'ga itheadh fuas
'n'ur làthair; agus dh'*f*hàfaichidh e,
mar gu'm biodh e air a fgrios le fluagh
coimheach [b].
8 Agus tha nighean Shioin air a
fàgail mar bhothan ann am fion-lios,
mar thigh-fafgaidh ann an gàradh
chularan, mar bhaile air a theannach-
adh *le naimhdibh.*
9 Mur bhiodh gu'n d'fhàg Tigh-
earn nan fluagh iarmad ro bheag ag-
ainn; 's ann a bhitheamaid mar Sho-
dom, bhiomaid cofmhuil ri Gomor-
rah.
10 Cluinnibh focal an Tighearna,
O uachdarana Shodoim; éifdibh ri
lagh ar Dé-ne, a mhuinntir Ghomor-
rah:
11 Ciod e lìonmhoireachd 'ur n-ìob-
airtean dhomhfa? deir an Tighearn:
tha mi làn do thabhartafaibh loifgte
reitheachan, agus do fhaill bheath-
aichean biadhta; ach ann am fuil
tharbh, agus uan, agus bhoc gaibhre,
cha 'n'eil mo thlachd.
12 An uair a thig fibh gu'r taifb-
eanadh féin ann am làthair-fa, cò
dh'iarr fo air 'ur làimh, mo chùirt-
ean-fa a fhaltairt?
13 Na tugaibh tabhartas dìomhain
uaibh ni's mò: tha tùis na gràineal-
achd dhomh; a' ghealach ùr, agus
an t-sàbaid, gairm a chomh-chruinn-
ich, cha'n fheudar leam 'fhulang;
is eu-ceart eadhon an co-ghairm
naomha.
14 Bhur gealaichean ùra, agus 'ur
féillean fuidhichte, is fuath le m'an-
am; tha iad nan eallaich orm; tha
mi fgìth d'*an* giùlan.
15 Agus an uair a fhìneas fibh
mach 'ur làmhan, folaichidh mife
mo fhùilean uaibh; feadh an uair a
ni fibh iomadh ùrnuigh, cha n-éifd
mi: tha 'ur làmhan làn fola.
16 Nighibh, glanaibh; cuiribh air
faibh

a *droch dhaoine.* b *tuil.*

falbh olc 'ur deanadais as mo ſhealladh [a]; ſguiribh do'n olc;
17 Fòghlumaibh maith a dheanamh; iarraibh breitheanas; deanaibh fuaſgladh air an fhear tha sàruichte; cumaibh còir ris an dìlleachdan; tagraibh cùis na bantraich.
18 Thigibh nis, agus tagramaid le chéile, deir an Tighearn; ged robh 'ur peacanna mar an ſcarlaid, bithidh iad geal mar an ſneachda; ged robh iad dearg mar chorcur, bithidh iad mar olainn.
19 Ma bhitheas ſibh toileach agus umhal, ithidh ſibh *toradh* maith an fhearainn:
20 Ach ma bhios ſibh eaſ-umhal [b] agus ceannairceach, ithear ſuas ſibh leis a' chlaidheamh; oir labhair beul an Tighearn *e.*
21 Cionnas a dh'fhàs a' chathair dhìleas na ſtriopaich! bha i làn do bhreitheanas, bha ionracas a' gabhail còmhnuidh innte, ach nis mortairean.
22 Tha d'airgiod air fàs na ſhalchar [c]; tha d'fhìon air a mheaſgadh le h-uiſge.
23 Tha d'uachdarain ceannairceach, agus nan companachaibh mheirleach; tha gach aon diubh an geall air tiodhlacadh, agus a leantuinn dhuaiſean; ris an dìlleachdan cha 'n'eil iad a' cumail cothroim, agus cùis na bantraich cha 'n'eil a' teachd nan làthair.
24 Uime ſin deir an Tighearn, Tighearn nan ſluagh, Ti cumhachdach Iſraeil, Aha, bheir mi fois dhomh féin a thaobh m'eaſcairdean; dìolaidh mi mi féin air mo naimhdibh.
25 Agus pillidh mi mo làmh ort, agus glanaidh mi uait do ſhalchar gu ro ghlan, agus bheir mi air falbh 'd' uile ſtaoin.
26 Agus aiſigidh mi do bhreitheamhna mar air tùs, agus do chomhairlichean mar *a bha iad* an toiſeach; na dhéigh ſin goirear dhìot baile na fìreantachd, a' chathair dhìleas.
27 Saorar Sion ann am [d] breitheanas, agus a muinntir iompaichte ann am [e] fìreantachd.
28 Agus claoidhear luchd-eaſaontais agus peacaich maraon; agus bithidh iadſan a thréigeas an Tighearn air an caitheamh as.
29 Oir gabhaidh iad nàir do na daragaibh a mhiannaich ſibh; agus bithidh rugha gruaidh oirbh air ſon nan lioſan a ròghnaich ſibh:
30 Oir bithidh ſibh mar dharaig aig am bheil a duilleach air ſeargadh, agus mar lios anns nach 'eil uiſge.
31 Agus bithidh an duine làidir mar aſgart, agus 'oibriche [f] mar ſhrad: agus loiſgidh iad le chéile cuideachd, agus cha bhi neach ann a mhùchas *iad.*

CAIB. II.

AM focal a chunnaic Iſaiah mac Amois mu thimchioll Iudah agus Ieruſaleim.
2 Tarlaidh anns na lathaibh deireannach gu'm bi ſliabh tighe an Tighearna air a dhaingneachadh air mullach nan ſleibhtean; agus àrdaichear e os ceann nam beann; agus ſruthaidh na h-uile chinnich d'a ionnſuidh
3 Agus théid mòran ſhlògh, agus their iad, Thigibh, agus rachamaid ſuas gu ſliabh an Tighearna, gu tigh Dhé Iacoib; agus teagaiſgidh e ſinn mu a ſhlighibh, agus imichidh ſinn na cheumaibh; oir o Shion théid an lagh a mach, agus focal an Tighearna o Ieruſalem.
4 Agus bheir e breth am meaſg nan cinneach, agus bheir e achaſan do mhòran ſhlògh; agus buailidh iad an claidhean gu coltair, agus an ſleaghan gu corranaibh-ſgathaidh; cha tog cinneach claidheamh an aghaidh cinnich, agus cha n-fhòghlum iad cogadh ni's mò.
5 O thigh Iacoib, thigibh agus imicheamaid ann an ſolus an Tighearna.
6 Air an aobhar ſin thréig thu do ſhluagh, tigh Iacoib, a chionn gu bheil iad air an lìonadh o'n àird an ear, agus nan luchd-ſioſachd mar na Philiſtich;

[a] *as làthair mo ſhùl.* Eabh. [b] *mi-fhreagarach.* [c] *ſhal, ſhlaoit.*
[d] *le.* [e] *le.* [f] *obair.*

Philiſtich; agus tha an tlachd ann an
cloinn choigreach.
7 Agus tha an tìr air a lìonadh le
airgiod, agus òr, agus cha 'n'eil crìoch
air an ionmhaſaibh; tha ar tìr air a
lìonadh le h-eachaibh, agus cha 'n'eil
crìoch air an carbadaibh.
8 Tha an tìr fòs air a lìonadh le
h-ìodholaibh; tha iad a ſleuchdadh
do obair an làmha féin, do'n ni ſin a
rinn am meoir féin.
9 Agus tha an duine ſuarach a'
cromadh sìos, agus tha an duine àrd
'ga ìſleachadh féin: agus cha tabhair
thuſa maitheanas dhoibh.
10 Imich a ſteach do'n charraig,
agus folaich thu féin anns an ùir,
roimh uamhas an Tighearna, agus o
ghlòir a mhòrachd.
11 Iſlichear ſealladh [a] uaibhreach
an duine mhòir, agus leagar sìos ard-
an nan daoine ſuarach; agus bithidh
an Tighearn na aonar air 'àrdachadh
anns an là ſin.
12 Oir *thig* là Tighearna nan
ſluagh air gach neach a ta uaibhr-
each agus àrd, agus air gach neach
a ta air a thogail ſuas, agus leagar
sìos e;
13 Agus air uile ſheudaraibh Le-
banoin, *a ta* àrd agus togta ſuas; a-
gus air uile dharagaibh Bhaſain;
14 Agus air na h-uile bheanntaibh
àrda, agus air na h-uile chnocaibh *a
tha* togta ſuas;
15 Agus air gach tùr àrd, agus air
gach balladh daingnichte;
16 Agus air uile longaibh Tharſuis,
agus air na h-uile dhealbhaibh ſgiamh-
ach.
17 Agus ìſlichear uabhar an duine
mhòir, agus leagar sìos àrdan nan
daoine ſuarach; agus bithidh an Tigh-
earn na aonar air 'àrdachadh anns an
là ſin.
18 Agus cuiridh e na h-ìodholan
gu buileach air cùl.
19 Agus théid iad a ſteach ann an
còſaibh nan creag, agus ann an tuill [b]
na talmhainn, roimh uamhas an Tigh-
earna, agus o ghlòir a mhòrachd,
'nuair a dh'éireas e a chrathadh na
talmhainn gu h-uamhaſach.
20 Anns an là ſin tilgidh duine
'ìodholan airgid agus 'ìodholan òir,
a rinn iad, *gach aon* dha féin, gu
ſleuchdadh *dhoibh*, chum nam famh
agus chum nan ialtag;
21 Gu dol a ſteach ann an còſaibh
nan creag, agus ann am mullaichibh
nan ſgeir, roimh umhas an Tighear-
na, agus o ghlòir a mhòrachd, 'nuair
a dh'éireas e a chrathadh na talmhainn
gu h-uamhaſach.
22 Leigibh dhibh '*ur dùil* ri duine,
aig am bheil 'anail na chuinneanaibh;
oir ciod am fàth mu 'n gabhar meas [c]
dheth?

CAIB. III.

OIR feuch, bheir an Tighearn,
Tighearn nan ſluagh, air falbh
o Ieruſalem agus o Iudah, an lorg a-
gus am bata, uile lorg an arain, agus
uile lorg an uiſge,
2 An treun-fhear agus am fear-
cogaidh, am breitheamh agus am
fàidh, an duine glic [d] agus an ſean-
air;
3 An ceannard air leth-cheud agus
an duine urramach, agus an comhair-
liche agus am fear-ceirde ſeòlta, agus
an cainnt-fhear deas-bhriathrach.
4 Agus ni mi leanabana nan uachd-
aranaibh orra, agus riaghlaidh naoidh-
eana [e] os an ceann.
5 Agus bithidh an ſluagh air an
sàruchadh, gach fear le chéile, agus
gach fear le 'choimhearſnach; ni an
t-òganach tàir air an aoſda, agus an
duine an-uaſal air an duin' uaſal.
6 An uair a ghlacas fear a bhràth-
air, do thigh 'athar, air a thruſgan,
ag ràdh, Thig, agus bi a'd' fhear-
riaghlaidh oirnn, agus biodh an t-aom-
adh [f] ſo fuidh do làimh-ſa [g]:
7 Bheir e briathar [h] air an là ſin,
ag ràdh, Cha bhi mis' a'm' fhear-
ſlànuich *dhuibh*; oir ann am thigh-ſa
cha 'n'eil biadh no eudach; na cuir-
ibh miſe ſuas a'm' fhear-riaghlaidh
air an t-ſluagh.
8 Oir tha Ieruſalem air aomadh
sìos, agus Iudah air tuiteam; a chionn
gu

a *ſùilean*. Eabh. b *uamhaibh*. c *suim*. d *geur-chùiſeach*, *fad-ſheallach*. e *naoidheachain*. f *am-maidhm*. g *an taice riut-ſa*. h *togaidh e* a làmh. Eabh.

gu b'heil an teanga agus an deanadas an aghaidh an Tighearna, a chur cathachaidh air sùilibh a ghlòire.

9 Tha ſealladh an gnùiſe a' toirt fianuis nan aghaidh; agus tha iad a' deanamh am peacaidh follaſach, mar Shodom; cha 'n'eil iad 'ga fholach; is truagh do an anamaibh, oir thug iad olc [a] orra féin.

10 Abraibh ris an ionracan *gur* maith *a dh'éireas* dha; oir toradh an gnìomhara ithidh iad.

11 Is anaoibhin do'n aingidh; *is* olc *a dh'éireas* dha-ſan; oir dìolar dha obair a làmha féin.

12 *Do thaobh* mo ſhluaigh-ſa, tha clann a' deanamh sàruchaidh orra, agus tha mnathan [b] a' riaghladh os an ceann. O mo ſhluagh, tha do chinn-iuil 'gad chur ar ſeacharan, agus a' ſiaradh ſlighe do cheumanna.

13 Tha an Tighearn a' ſeaſamh ſuas chum tagraidh; agus tha e a' ſeaſamh a thabhairt breith air an t-ſluagh.

14 Tionnſgnaidh an Tighearn ann am breitheanas ri ſeanoiribh a ſhluaigh, agus ri an uachdaranaibh; oir dh'ith [c] ſibh ſuas am fion-lios; tha creach nam bochd ann 'ur tighibh.

15 Ciod a's ciall duibh, gu bheil ſibh a' pronnadh mo ſhluaigh, agus a' bleth eudanna nam bochd? deir Iehobhah Tighearn nan ſluagh.

16 Os barr, thubhairt an Tighearn, A chionn gu bheil nigheana Shioin uallach [d], agus ag imtheachd le muinealaibh [e] ſìnte mach, agus le sùilibh meara [f], ag imtheachd le ceumaibh iullagach, agus a' deanamh fuaime le'n coſaibh [g]:

17 Uime ſin ni an Tighearn maol [h] mullach cinn nigheana Shioin, agus leigidh an Tighearn ris an nàir*.

18 Anns an là ſin bheir an Tighearn air falbh àille nan cos-fhàinneacha, agus na bréidean, agus na ſamhlachan-gealaich,

19 Na cluigeanan, agus na làmhfhaillean, agus na ſgàilean,

20 Na cuaileanan, agus na glùineana, agus na foilteana, agus na ſoireachan-boltraich, agus na cluas-fhàinnean,

21 Na fàinneachan, agus na ſeudaſròine,

22 Na truſgana laſach [i], agus na tonnaga, agus na falluingean, agus na deilg,

23 Na ſgàthanan, agus na leintean anairt, agus na curaichdean, agus na brata-ſgàile.

24 Agus an àit deagh bholaidh *bithidh* bréine, agus an àit crioſa *bithidh* ſrachd, agus an àit fuilt air a dheadh-chleachdadh *bithidh* maoile, agus an àit crios-uchd *bithidh* ceanglachan ſaic-eudaich, *agus* loſgadh [j] an àit maiſe.

25 Tuitidh do dhaoine leis a' chlaidheamh, agus do threun-fhir anns a' chogadh.

26 Agus ni a geatacha caoidh agus bròn, agus ſuidhidh ſi, gu h-aonaranach [k], sìos air an làr.

CAIB. IV.

AGUS ni ſeachd mnathan greim air aon fhear ſan là ſin, ag ràdh, Ar n-aran féin ithidh ſinn, agus ar n-eudach féin caithidh ſinn; a mhàin biomaid air ar n-ainmeachadh ortſa, a thoirt air falbh ar mi-chliu.

2 Anns an là ſin bithidh meangan an Tighearna ſgiamhach agus glòrmhor, agus toradh an fhearainn oirdheirc agus maiſeach, dhoibhſan a théid as do Iſrael.

3 Agus tarlaidh, an neach a dh'fhàgar ann an Sion, agus a dh'fhanas ann an Ieruſalem, goirear eſan naomh, *eadhon* gach aon a ta ſcrìobhta am meaſg nam beo ann an Ieruſalem.

4 An uair a nigheas an Tighearn air falbh ſalchar nigheana Shioin, agus a ghlanas e fuil Ieruſaleim as a meadhon, le ſpiorad breitheanais, agus le ſpiorad loſgaidh.

5 Agus cruthaichidh an Tighearn air gach àite-tàimh do ſhliabh Shioin, agus air a coimh-thionalaibh, neul anns an là, agus deatach, agus dealradh

a *dhiol iad olc, thug iad droch dhiol.* b *mnai.* c *loiſg.* d *ſgòdail.* e *ambachaibh.* f *mireagach, beag-nàrach.* g *le* aillʼeaganaibh *an cos.* h *carrach.* i *ſo-mhùthta.* j *dòthadh.*
* *gu h-uaigneach, air a fàſachadh.*

radh teine lasraich anns an oidhche;
oir thar a' ghlòir uile bithidh còmhd-
ach.
6 Agus bithidh e na bhùth, air son
sgàile o'n teas anns an là, agus air
son dìdein, agus air son ionaid-fasg-
aidh o'n doininn agus o'n uisge.

CAIB. V.

SEINNIDH mi nis do fhear mo
ghràidh, òran le fear mo ghràidh
mu thimchioll a lios-fiona. Bha aig
mo ghràdh-sa fion-lios air cnoc àrd
tarbhach.
2 Agus chuir e callaid m'a thim-
chioll, agus ghlan e na clachan as,
agus shuidhich e rogha fionain ann,
agus thog e tùr na mheadhon, agus
cuideachd chladhaich e amar-fiona;
agus dh'amhairc e dh'fheuchainn an
tugadh e mach dearcana fiona, agus
thug e mach dearcana fiadhain [a].
3 Agus nise, O luchd-àiteachaidh
Ierusaleim, agus fheara Iudah, thug-
aibh breth, guidheam oirbh, eadar
mise agus m'fhion-lios.
4 Ciod tuilleadh a ghabhadh dean-
amh [b] ri m' fhion-lios nach d'rinn mi
ann? C'ar son, an uair a dh'amhairc
mi an tugadh e mach dearcana fiona,
a thug e mach dearcana fiadhain?
5 Agus nis thigibh, nochdaidh mise
dhuibh ciod a ni mi ri m' fhion-lios;
bheir mi air falbh a challaid, agus
ithear suas e; brisidh mi a bhalladh,
agus bithidh e air a shaltairt sìos.
6 Agus cuiridh mi fàs e; cha
sgathar e, agus cha ruamhairear e;
ach fàsaidh an dris agus an droighinn
ann; agus bheir mi àithne do na neul-
aibh nach fras iad uisge air.
7 Oir is e fìon-lios Tighearna nan
sluagh tigh Israeil, agus daoine Iudah
luibh [c] a mhòr thlachd; agus bha
sùil aige ri breitheanas, agus feuch
ain-tighearnas; ri ceartas, agus feuch
gaoir ghoirt.
8 Is anaoibhin dhuibhse [d] a ta cur
tighe ri tigh, *agus* a' cur achaidh ri
achadh, gus nach bi àit ann, agus
gu'n gabh sibh còmhnuidh air leth [e]
ann am meadhon na tìre.
9 Ann mo chluasaibh *thubhairt*
Tighearna nan sluagh, Gu deimhin
bithidh iomadh tigh fàs, *tighean* mòra
agus maiseach, gun neach a' gabhail
còmhnuidh *annta*.
10 Bheir deich acairean do fhion-
lios aon bhat *fiona*, agus bheir Homer
do shìol uaith Ephah.
11 Is anaoibhin dhoibhsan a dh'éir-
eas gu moch 'sa mhaduinn, a dhol an
déigh dibhe làidir; a bhuanaicheas
gu feasgar, ionnas gu'n cuir am fìon
teas orra.
12 Agus tha a' chlàrsach, agus a'
chruit-chiuil, agus an tabor, agus a'
phìob, agus fìon nan cuirmibh [f]; ach
obair an Tighearna cha'n 'eil iad a'
cur an suim, agus gnìomh a làmh cha
'n'eil iad a' toirt fa'near.
13 Uime sin tha mo shluagh air
dol ann am braighdeanas, a chionn
gu bheil iad gun eòlas; agus tha an
uaislean air bàsachadh le gort, agus
an ìslean air tiormachadh le tart.
14 Air an aobhar sin mheudaich
an uaigh [g] a ciocras, agus dh'fhosgail
i a beul thar tomhas; agus théid an
glòir, agus am mòr shluagh, agus an
greadhnachas, agus esan a ta ri gaigh-
ir, sìos d'a h-ionnsuidh.
15 Agus leagar sìos an duine suar-
ach, agus ìslichear an duine cumh-
achdach, agus ìslichear sùilean nan
uaibhreach.
16 Ach bithidh Tighearn nan
sluagh air 'àrdachadh ann am breith-
eanas; agus bithidh an Dia naomh
air a naomhachadh ann an ceartas.
17 An sin ionaltraidh na *h*-uain
mar a's àbhaist doibh [h]; agus ithidh
coigrich machraichean fàsail na
muinntir reamhair.
18 Is anaoibhin dhoibhsan a tha
tarruing aingidheachd le cordaibh
dìomhanais, agus peacaidh mar le
taodaibh feuna.
19 A deir, Deanadh e deifir, luath-
aicheadh [i] e 'obair, a chum gu'm faic
sinn;

a *dearcana groda.* b *a dh'fheudtadh dheanamh.* c *dos, bad.* d *dhoibhsan.* e *leibh féin.* f *nam fleadhaibh.* g *ionad nam marbh, an saoghal neo-fhaicsinneach.* h *anns an àit gus an iomainear iad.* i *greasadh.*

finn; agus diùthaicheadh comhairle Ti naomha Israeil, agus thigeadh i *gu crich*, a chum gu'm bi fios againn.
20 Is truagh dhoibhsan a deir maith ri olc, agus olc ri maith; a ta cur dorchadais an àit soluis, agus soluis an àit dorchadais; a ta cur an t-seirbh an àit a' mhilis, agus a' mhilis an àit an t-seirbh.
21 Is truagh dhoibhsan a ta glic nam barail[a] féin, agus nam beachd féin tuigseach[b].
22 Is truagh dhoibhsan a ta làidir a dh'òl fiona, agus nan daoinibh neartmhor a mheasgadh dibhe làidir;
23 A ta saoradh a' chiontaich air son duaise; agus a' toirt ionracais an fhirein air falbh uaith.
24 Uime sin mar a dh'imlicheas teanga an teine suas an asbhuain, agus a chnàmhas an lasair am moll: *mar sin* bithidh am freumh-san mar fhiodh grod, agus théid am blàth suas mar dhuslach; a chionn gu'n do dhiùlt iad le tàir lagh Tighearna nan sluagh, agus gu'n do chuir iad cùl ri focal Ti naomha Israeil.
25 Air an aobhar sin tha corruich an Tighearna air lasadh an aghaidh a shluaigh; agus shìn e mach a làmh nan aghaidh, agus bhuail e iad; agus chriothnaich na sleibhtean, agus bha an colainnean mar aolach air meadhon nan sràidean. Air son so uile, cha 'n'eil a chorruich air pilleadh air falbh? ach tha a làmh fathast sìnte mach.
26 Agus togaidh e suas bratach do na cinneachaibh am fad as, agus ni e fead air an son o iomall na talmhainn; agus feuch, le deifir thig iad gu luath.
27 Cha bhi aon neach fann, agus cha bhi aon neach tuisleach nam measg; cha tig clò, cha tig codal *air aon diubh*; cha n-fhuasgailear crios an leasraidh, agus cha bhrisear barriall am bròg.
28 Aig am bheil an saighdean geuraichte, agus am boghachan uile air ghleus[c]; bithidh iongana an eacha air am meas mar ailbhinn, agus an rothan mar chuairt-ghaoith[d].
29 *Bithidh* am beucaich mar leòmhan boireann; beucaidh iad mar leòmhanaibh òga; agus ni iad nuallan, agus glacaidh iad a' chreach, agus togaidh iad leo *i*, agus cha *bhi* neach ann a theasairgeas.
30 Agus anns an là sin beucaidh iad nan aghaidh, mar bheucaich na fairge; agus seallaidh iad air an talamh, agus feuch, dorchadas *agus* teanntachd; agus bithidh an solus air a dhorchachadh ann a[e] speuraibh.

CAIB. VI.

1 ANNS a' bhliadhna san d'fhuair righ Usiah bàs, chunnaic mi an Tighearn na shuidhe air caithir rioghail, àrd agus togta suas; agus lìon iomall[f] a thruscain an teampull.
2 Os a cheann sheas seraphim: aig gach aon bha sè sgiathan; le dithis chòmhdaich e 'aghaidh, agus le dithis chòmhdaich e a chasan, agus le dithis rinn e itealaich.
3 Agus ghlaodh iad, gach aon r'a chéile, agus thubhairt iad, is naomh, naomh, naomh Tighearn nan sluagh; tha an talamh uile làn d'a ghlòir.
4 Agus ghluais ursannan an doruis le guth an ti a ghlaodh, agus lìonadh an tigh le deataich.
5 Agus thubhairt mi, Mo thruaighe mise! oir chaidh as domh[g]; oir is duine mi aig am bheil bilean neoghlan, agus am measg sluaigh aig am bheil bilean neoghlan tha mi a'm' chòmhnuidh; oir chunnaic mo shùilean an Righ, Tighearn nan sluagh.
6 An sin thàinig aon do na seraphim ag itealaich a m'ionnsuidh, agus na làimh eibhleag bheo, *a* thug e leis a' chlobha bharr na h-altaire;
7 Agus bhean e ri mo bheul, agus thubhairt e, Feuch, bhean so ri d' bhilibh; agus tha d'aingidheachd air a toirt air falbh, agus do lochd air a ghlanadh.
8 Agus chuala mi guth an Tighearna ag ràdh, Cò leis a chuireas mi fios? agus cò théid air ar son? Agus thubhairt

a *sùilibh*. Eabh. b *crìonna, eagnaidh*. c *air lagh, deasaichte*. d *iomghaoith*. e *anns na*. f *earr, sgiobull*. g *chuireadh as domh, chlaoidheadh mi*.

thubhairt mi, Feuch, tha mis' an so; euir fios leamsa.

9 Agus thubhairt e, Rach, agus abair ris an t-sluagh so, Cluinnibh do rìreadh [a], ach na tuigibh; agus faicibh do rìreadh [b], ach na tugaibh fainear.

10 Dean cridhe an t-sluaigh so reamhar; agus dean an cluasan trom, agus druid an sùilean; mu'm [c] faic iad le'n sùilibh, agus mu'n cluinn iad le'n cluasaibh, agus mu'n tuig iad le'n cridheachaibh, agus gu'n iompaichear iad, agus gu'm bi iad air an slànuchadh.

11 An sin thubhairt mise, Cia fhad Thighearna? Agus thubhairt esan, Gus an cuirear bailtean fàs, gun neach '*gan* à' reachadh; agus tighean, gun duine *a gabhail còmhnuidh annta*; agus gu'm bi am fearann gu tur air 'fhàsachadh;

12 Agus gu'm fògair an Tighearn daoine am fad as; agus gu'm bi fàsalachd mhòr ann am meadhon na tìre.

13 Ach fathast *bithidh* deachamh innte; agus pillidh *e*, agus caithear *e*; mar an cuilionn agus an darach, aig am bheil brìgh annta, ged thilg iad *an duilleach* [d]; *mar sin bithidh* sìol naomha na bhrìgh innte-san.

CAIB. VII.

ANN an lathaibh Ahais mhic Iotaim mhic Usiah, righ Iudah, chaidh Resin righ Shiria, agus Pecah mac Remaliah righ Israeil, suas do Ierusalem, a chogadh na h-aghaidh, ach cha b'urrainn iad buadhachadh oirre.

2 Agus dh'innseadh do thigh Dhaibhidh, ag ràdh, Tha Siria ann an co-bhoinn ri Ephraim; agus bha a chridhe air a ghluasad, agus cridhe a shluaigh; mar a' ghluaisear craobhan na coille roimh'n ghaoith.

3 Agus thubhairt an Tighearn ri Isaiah, Rach a mach nis an codhail Ahais, thu féin, agus Sear-iasub do mhac; aig ceann sruth-chlais na linne uachdaraich, air slighe achaidh an luadhadair.

4 Agus abair ris, Thoir an aire, agus bi a'd' thosd; na gabh eagal, agus na bi lag-chridheach, air son dà earr [e] nan àithinnean [f] smùidreach so, air son corruich Resin agus Shiria, agus mhic Remaliah.

5 Air son gu'n do dhealbh Siria, Ephraim, agus mac Remalia, olc a'd' aghaidh, ag ràdh,

6 Rachamaid suas an aghaidh Iudah, agus teannaicheamaid e, agus brisearnaid a steach, agus cuireamaid righ suas gu rìoghachadh na mheadhon, *eadhon* mac Thabeail.

7 Mar so deir an Tighearn Iehobhah, Cha seas e, ni mò thig e gu crìch.

8 Ged [g] is e ceann Shiria Damascus, agus ceann Dhamascuis Resin; gidheadh [h] an taobh a stigh do chùig agus tri fichead bliadhna, bithidh Ephraim air a bhriseadh, ionnas nach bi e na chinneach;

9 Ged is e ceann Ephraim Samaria, agus ceann Shamaria mac Remaliah. Mur creid sibh, gu cinnteach cha bhi sibh seasmhach.

10 Agus labhair an Tighearn fathast ri Ahas, ag ràdh,

11 Iarr dhuit féin comharadh o'n Tighearn do Dhia; iarr anns an doimhne, no anns an àirde shuas.

12 Ach thubhairt Ahas, Cha n-iarr mi, ni mò a bhuaireas mi an Tighearn.

13 Agus thubhairt esan, Eisdibh nis, a thigh Dhaibhidh; am beag leibh daoin' a sgìtheachadh; ach an sgìthich sibh fòs mo Dhia?

14 Air an aobhar sin, bheir an Tighearn féin comharadh dhuibh; Feuch, bithidh òigh [i] torrach, agus beiridh si mac; agus bheir i Immanuel mar ainm air.

15 Im agus mil ithidh e, gus an [j] tuig e an t-olc a dhiùltadh, agus am maith a roghnachadh.

17 Oir mu'n aithne do'n leanabh [k] an t-olc a dhiùltadh, agus am maith

a

a *ag cluinntinn cluinnibh.* Eabh. b *a' faicsinn faicibh.* Eabh. c *air eagal gu'm.* d *aig am bheil am bun a' fantuinn, ged ghearrar sìos iad.* e *carball.* f *leusan-teine.* g *Oir.* h *agus.* i *an òigh.* Eabh. j *a chum as gu.* k *do'n leanabh so.*

a ròghnachadh, fàſaichear fearann an dà righ leis am bheil thu air do chlaoidheadh.

17 Bheir an Tighearn ortſa, agus air do ſhluagh, agus air tigh t'athar, laithean, nach robh an leithide ann o'n là ſan do dhealuich Ephraim ri Iudah: *eadhon* righ Aſiria.

18 Agus tarlaidh anns an là ſin, gu'n gairm an Tighearn [a], a' chuileag a ta ann an iomall aibhnichean na h-Eiphit, agus an ſeillean a th'ann an talamh Aſiria.

19 Agus thig iad, agus luidhidh an t-iomlan diubh anns na gleannaibh fàſail, agus ann an còſaibh nan creag, agus air gach uile dhroighnich, agus air gach uile phreas.

20 Anns an là ſin lomaidh an Tighearn le ealtainn thuaraſdoil, leis an t-ſluagh air taobh thall na h-aibhne, le righ Aſiria, an ceann agus fionna nan caſan; agus bearraidh [b] ſi eadhon an fheuſag.

21 Agus tarlaidh anns an là ſin gu'n àraich duine bò òg agus dà chaora.

22 Agus o phailteas a' bhainne bheir iad uatha, ithidh ſe im; oir im agus mil ithidh gach neach a dh'fhàgar anns an tìr.

23 Agus tarlaidh anns an là ſin, gach àit anns an robh mìle fionan, *air am meas* air mhìle bonn airgid, gu'm bi e na ſgithich agus na dhroighnich.

24 Le ſaighdibh agus leis a' bhogha thig iad an ſin: oir bithidh an talamh uile na ſgithich agus na dhroighnich.

25 Agus *air* na h-uile chnocaibh a bhitheas air an ruamhradh leis a' chaibe, cha dthig eagal ſgithich no droighnich; ach bithidh e na àiridh [c] dhamh, agus na ionaltradh [d] mheanbhchruidh.

C A I B. VIII.

AGUS thubhairt an Tighearn rium, Gabh clàr mòr, agus ſcrìobh air, le inneal-ſcrìobhaidh duine mu Mhaher-ſalal-has-bas [e].

2 Agus thug mi leam, chum dearbhaidh, ſianuiſean fìrinneach, Uriah an ſagart, agus Sachariah mac Ieberechiah.

3 Agus dhlùthaich mi ris a' bhanfhaidhe, agus dh'fhàs i torrach, agus rug i mac; agus thubhairt an Tighearn rium, Thoir mar ainm air Maher-ſalal-has-bas.

4 Oir mus an aithne do'n leanabh m'athair agus mo mhàthair a ràdh, togar air falbh ſaibhreas [f] Dhamaſcuis agus creach Shamaria, roimh righ Aſiria.

5 Agus labhair an Tighearn fathaſt rium, ag ràdh:

6 A chionn gu'n do chuir an ſluagh ſo cùl ri uiſgeachaibh Shiloah, a ruitheas gu sèimh; agus gu bheil iad a' gabhail tlachd ann an Reſin agus ann am mac Remaliah:

7 Uime ſin, feuch, bheir an Tighearn a nìos orra uiſgeachan na h-aibhne, làidir agus lìonmhor, *eadhon* righ Aſiria agus 'uile ghreadhnachas; agus éiridh e os ceann a chlaiſean uile, agus théid e thar 'uile bhruachaibh.

8 Agus gabhaidh e roimhe air feadh Iudah, a' ruith thairis agus a' ſgaoileadh *eadhon* gus am muineal ruigidh e; agus lìonaidh ſgaoileadh a ſgiathan leud do thìre ſa [g], O Immanueil.

9 Cruinnichibh r'a chéile, a chinneacha, agus briſear ſibh 'n'ur bloighdibh; éiſdibh, ſibhſe uile 'ta ſna dùchaibh fad as; crioſlaichibh ſibh féin, agus briſear ſibh 'n'ur bloighdibh; crioſlaichibh ſibh féin, agus briſear ſibh 'n'ur bloighdibh.

10 Cuiribh bhur comhairle ri chéile, agus thig i gu neo-bhrigh; labhraibh am focal, agus cha ſeas e; oir tha Dia leinne.

11 Oir thubhairt an Tighearn rium, le làimh làidir [h], agus theagaiſg e mi, a chum nach ſiubhlainn ann an ſlighe an t-ſluaigh ſo, ag ràdh:

12 Na abraibh-ſe co-bhoinn ris

a *dean an Tighearn ſead air.* b *ſguabaidh, lom-ſgrìobaidh.* c *fhàſach, ionaltradh.* d *àite-coiſeachd.* e *Greas chum na creiche, grad-ghlac a' chobhartach.* f *maoin, toice.* g *ſgaoilidh a ſgiathan thar leud do thìre.* h *agus e 'g am ghlacadh air làimh.*

gach ni ris an abair an ſluagh ſo co-bhoinn; agus na gabhaibh eagal roimh an uamhas-ſan, agus na biodh geilt oirbh.

13 Tighearn nan ſluagh, naomhaichibh eſan féin; agus *biodh* eſan duibh na chùis-eagail, agus *biodh* eſan duibh na aobhar ball-chrith. c

14 Agus bithidh e na ionad naomh; ach na chloich-thuiſlidh agus na charraig-oilbheim do dhà thigh Iſraeil; na lìon agus na ribe do luchd-àiteachaidh Ieruſaleim.

15 Agus gheibh mòran ham meaſg tuiſleadh, agus tuitidh iad agus briſear iad, agus ribear agus glacar iad.

16 Ceangail ſuas an fhianuis, ſeulaich [a] an lagh am meaſg mo dheiſciobul-ſa.

17 Ach feithidh miſe ris an Tighearn a ta folach a ghnùiſe o thigh Iacoib, agus bithidh sùil agam ris.

18 Feuch, *tha* miſe, agus a' chlann a thug an Tighearn dhomh, nar comharaibh agus nar n-iongantaſaibh ann an Iſrael, o Thighearn nan ſluagh a ta na chòmhnuidh ann an ſliabh Shioin.

19 Agus an uair a their iad ruibh, Iarruibh a chum nam ban-fhioſaichean agus chum nan druidhean, muinntir a ni bìdeil agus borbhanaich; nach bu chòir do ſhluagh iarrùidh chum an Dé? an ann *a dh'iarradh iad* a chum nam marbh, an àit nam beo?

20 *Iarradh iad* chum an lagha agus chum na fianuis: mar labhair iad do réir an fhocail ſo, *'s ann* a chionn nach 'eil ſolus annta [b].

21 Agus ſiubhlaidh *gach aon* d'a thrìd, ann an teinn agus ann an gorta; agus tarlaidh, 'nuair a bhios e ann an gorta, gu'm bi corruich [c] air ris féin, agus mallaichidh e a righ agus a Dhia, agus e fealltainn ſuas.

22 Agus feallaidh e air an talamh, agus feuch teanntachd agus doillearachd; dubhar an àmhghair agus tiugh dhorchadas [d].

CAIB. IX.

GIDHEADH cha *bhi* an doillearachd mar a *bha* ri linn a h-àmhghair, an uair a bhuail e gu h-eutrom an toiſeach talamh Shabuloin agus talamh Naphtali, agus na dhéigh ſin bhuail e ni bu truime [e] , air ſlighe na fairge, taobh thall Iordain, Galile nan cinneach.

2 An ſluagh *a bha* ſiubhal ann an dorchadas, chunnaic iad ſolus mòr; iadſan *a bha* nan còmhnuidh ann an tìr ſgàile a' bhàis, dh'éirich ſolus orra.

3 Rinn thu an cinneach lìonmhor; nach do mheudaich thu an aoibhneas? rinn iad gairdeachas a'd' làthair, mar ghairdeachas anns an fhogharadh; mar ni *daoine* gairdeachas, an uair a roinneas iad a' chreach.

4 Oir bhris thu cuing 'eallaich, agus bata a ghuailne, ſlat an fhir a ſhàruich e, mar ann an là Mhidiain.

5 Oir *tha* gach uile chath an fhir-chogaidh le cruaidh iomairt, agus eudach air a thumadh ann am fuil; ach bithidh *ſo* le loſgadh, *agus* connadh air ſon an teine [f].

6 Oir rugadh dhuinne duine-cloinne [g], thugadh dhuinne mac; agus bithidh an uachdranachd air a ghualainn; agus goirear mar ainm dheth, Iongantach, Comhairliche, an Dia cumhachdach, an t-Athair sìorruidh [h], Prionnſa na sìthe.

7 Air fàs 'uachdranachd, agus air a ſhìth, cha *dtbig* crìoch; air caithir rìoghail Dhaibhidh, agus air a rìoghachd; chum a daingneachadh agus a ſocruchadh le breitheanas agus le ceartas, o ſo a mach agus gu sìorruidh: bheir eud Tighearna nan ſluagh ſo gu crìch.

8 Chuir an Tighearn ſocal dh'ionnſuidh Iacoib, agus thuit e air Iſrael.

9 Agus bithidh fios aig an t-ſluagh uile, aig Ephraim agus fear-àiteachaidh

a *dùin ſuas, glais.* b *anns nach 'eil doilleòarachd ſam bith.* c *campar.* d *ruaigear e chum dorchadais.* e *Ach cha* bhi *dorchadas innte-ſan a* bha *ann an teinn: oir anns an aimſir chaidh ſeachad, dh'iſlich e talamh Shabuloin agus talamh Naphtali, ach anns an aimſir dheireannaich rinn e glòrmhor e.* f *Oir uile choiſbheart an fhir-chogaidh 's a' chath agus an éididh air a tumadh ann am fuil, bithidh* iad *a chum loſgaidh,* agus *nan connadh do'n teine.* g *leanabh-mic.* h *Athair na sìorruidheachd.* Eabh.

aidh Shamaria, a ta ag ràdh, ann
an uaill agus ardan cridhe,
10 Tha na clachan creadha air
tuiteam, ach togaidh sinn le clach-
aibh snaidhte; tha na craobhan sica-
moir air an gearradh sìos, ach cuir-
idh sinn craobhan seudair nan àit.
11 Uime sin àrdaichidh an Tigh-
earn luchd mìruin Retsin na aghaidh,
agus togaidh e suas a naimhdean le
chéile;
12 Na Sirianaich ó'n taobh bheoil,
agus na Philistich o'n taobh chùil;
agus ithidh iad suas Israel le beul fars-
uing. Air son so uile cha 'n'eil a
chorruich air a pilleadh air falbh; ach
thà a làmh fathast sìnte mach.
13 Ach cha 'n'eil an sluagh so air
pilltinn ris an ti a bhuail iad; ni mò
dh'iarr iad Tighearn nan sluagh.
14 Uime sin gearraidh an Tigh-
earn as o Israel an ceann agus an
t-earball, a' gheug agus an luachair,
ann an aon latha.
15 An duine aosmhor agus urram-
ach, is esan an ceann; agus am fàidh
a ta teagasg bréige, is esan an t-earb-
all.
16 Oir tha luchd-stiùraidh an
t-sluaigh so 'gan cur air seacharan;
agus *bithidh* iadsan a stiùrar leo air
an slugadh suas.
17 Air an aobhar sin cha dean an
Tighearn gairdeachas os ceann an
òganacha, ni mò ni e iochd ri'n dìll-
eachdanaibh agus am bantrachaibh;
oir tha gach aon diubh na chealgoir
agus na fhear dòbheirt, agus tha
gach beul a' labhairt amaideachd.
Air son so uile cha 'n'eil a chorruich
air a pilleadh air falbh, ach tha a
làmh fathast sìnte mach.
18 Oir loisgidh aingidheachd mar
theine; ithidh si suas an dris agus an
droighionn; agus cuiridh si ri theine
badan na frìthe; agus éirigh iad an
àird nan smùid [a] a' dol suas.
19 Trìd corruich Tighearna nan
sluagh dhorchaicheadh an tìr; agus
bithidh an sluagh mar chonnadh air
son an teine; cha dean duine iochd
air a bhràthair féin.
20 Agus bheir e teum air an làimh
dheis, agus *gidheadh* bithidh e ocr-
rach; agus ithidh e suas air an làimh
chlìth, agus cha bhi iad sàsuichte;
ithidh gach duine feoil a ghàirdein [b]
féin.
21 *Ithidh* Manaseh Ephraim, agus
Ephraim Manaseh; agus bithidh iad
le chéile an aghaidh Iudah. Air son
so uile cha 'n'eil a chorruich air a
pilleadh air falbh; ach tha a làmh
fathast sìnte mach.

CAIB. X.

IS truagh dhoibhsan a ta 'g ord-
uchadh reachdan eucorach, na
scrìobhuichean a ta 'g àithneadh foir-
neirt.
2 A thionndadh an fheumaich o
bhreitheanas, agus a thabhairt *an* còr-
ach [c] le h-ainneart o bhochdaibh mo
shluaigh; air chor as gu'm bi ban-
traichean nan cobhartaich dhoibh, a-
gus *gu'n* creach iad na dìlleachdain.
3 Agus ciod a ni sibh ann an là an
smachdachaidh? agus anns an léir-
sgrios *a* thig o chéin? Cò dh'ionns-
uidh a theicheas sibh chum cobhair?
agus c'àit am fàg sibh 'ur glòir?
4 As m'eugmhais-se aomaidh *iad*
sìos fo na priosanaich, agus tuitidh
iad fo na mairbh. Air son so uile
cha 'n'eil a chorruich air a pilleadh
air falbh, ach tha a làmh fathast sìnte
mach.
5 Ho Asirianaich, slat mo chor-
ruich; agus am bata nan làimh *'s e*
sin m'fhearg.
6 An aghaidh cinnich chealgaich
cuiridh mi e, agus an aghaidh sluaigh
ris am bheil mo chorruich bheir mi
dha àithne; a thogail creiche, agus a
thoirt leo cobhartaich; agus d'an
saltairt sìos mar chlàbar nan sràid-
ean.
7 Gidheadh cha'n e sin a bhios na
aire-san, agus cha'n e rùn a chridhe e;
ach *is e* milleadh *tha* na chridhe, a-
gus cinnich nach gann a ghearradh
as.
8 Oir a deir e, Nach 'eil mo cheann-
ardan [d] uile nan righribh?
9 Nach 'eil Calno mar Char-
chemis? Nach 'eil Hamat mar Arph-
ad? Nach 'eil Samaria mar Dha-
mascus?

10 Mar

a *deathaich*. b *ruighe*. c *dlighe*. d *mhaithean*.

10 Mar a ghlac mo làmh rìoghachd-
an nan ìodholan, aig an robh dealbhan
ſnaighte ni b'fhearr na iad ſin a ta ann
an Ieruſalem agus ann an Samaria ;

11 Mar a rinn mi ri Samaria agus
r'a h-ìodholaibh, nach dean mi mar
an ceudna ri Ieruſalem agus r'a dealbh-
aibh-ſan ?

12 Ach tarlaidh, 'nuair a choimh-
lionas an Tighearn 'obair gu h-iom-
lan air ſliabh Shioin agus air Ieruſa-
lem, gu'n dean mi dìoghaltas air tor-
adh cridhe uaibhreich righ Aſiria, a-
gus air ſealladh àrd a ſhùl.

13 Oir deir e, Le neart mo làimhe
rinn mi e, agus le mo ghliocas ; oir
tha deadh thuigs' agam ; agus dh'ath-
arraich mi crìocha nam fineachan, a-
gus chreach mi an ionmhaſan, agus
leag mi sìos an ſluagh mar *dhuine*
treun.

14 Agus fhuair mo làmh, mar
nead, maoin nan ſlògh ; agus mar
chruinnicheas neach uighean *a* thréig-
eadh, mar ſin chruinnich mis an
talamh uile ; agus cha robh aon a
ghluais an ſgiath, a dh'fhoſgail an
gob, no rinn biog.

15 An dean an tuadh uaill an agh-
aidh an fhir a ta gearradh leatha ?
An àrdaich an tuireaſg e féin an agh-
aidh an fhir a ta 'ga iomairt ? mar
gu'n ſìneadh an t-ſlat *i féin* an agh-
aidh an neach a ta 'ga togail ; no mar
gu'n togadh an lorg ſuas *e féin mar*
nach *b'*fhiodh a *bh'ann*.

16 Air an aobhar ſin cuiridh an
Tighearn, Tighearn nan ſluagh, caoile
air a' mhuinntir reamhair, agus fuidh
'oirdheirceas fadaidh e loſgadh, mar
loſgadh teine.

17 Agus bithidh ſolus Iſraeil na
theine, agus a Thi naomha na laſair ;
agus loiſgidh agus caithidh e a
dhroigheann agus a dhris ann an aon
latha.

18 Agus caithidh e glòir a fhrìdhe,
agus 'achaidh tharbhaich, eadar an-
am agus fheoil, agus bithidh iad mar
fhear-iomchair brataich a' call a
threoir.

19 Agus bithidh fuigheall chraobh-
an a choille tearc, ionnas gu'n ſcriobh
leanabh an àireamh.

20 Agus tarlaidh anns an là ſin,
nach leig iarmad Iſraeil, agus iadſan
a théid as do thigh Iacoib, an taice
ni's mò air an fhear a bhuail iad ; ach
leigidh iad an taice air an Tighearn,
Tì naomh Iſraeil, ann am fìrinn.

21 Pillidh fuigheall [a], eadhon
fuigheall do Iacob, dh'ionnſuidh Dhé
uile-chumhachdaich.

22 Oir ged bhi do ſhluagh, O Iſ-
raeil, mar ghaineamh na fairge, *cha*
phill *ach* fuigheall diubh. An léir-
ſgrios a dh'orduicheadh, ruithidh e
thairis le ceartas.

23 Oir ſgrios, eadhon *ſgrios* sòn-
ruichte ni Iehobhah, Tighearn nan
ſluagh, am meadhon na tìre uile.

24 Air an aobhar ſin mar ſo deir
Iehobhah, Tighearn nan ſluagh, Na
biodh eagal ort, O mo ſhluagh, a ta
chòmhnuidh ann an Sion, roimh an Aſi-
rianaich ; le ſlait buailidh e thu, agus
a bhata togaidh e ſuas a'd' aghaidh,
a réir gnàth na h-Eiphit.

25 Ach fathaſt ùine ro ghearr,
agus coimhlionar *m'*fhearg, agus
mo chorruich nan léir-ſgrios.

26 Agus togaidh Tighearn nan ſluagh
ſlat-ſgiùrſaidh na aghaidh, coſmhuil
ri àr Mhidiain aig carraig Oreib : a-
gus *mar a bha* a ſhlat air an fhairg,
mar ſin togaidh e ſuas i, do réir
gnàth na h-Eiphit.

27 Agus tarlaidh anns an là ſin,
gu'n atharraichear 'eallach bharr do
ghuaille, agus a chuing bharr do
mhuineil ; agus caithear a' chuing do
bhrìgh [b] na h-oladh ungaidh.

28 Thàinig e gu Aiat, chaidh e
thairis gu Migron ; aig Michmas
taiſgidh e 'airneis [c].

29 Chaidh iad null air an aiſig [d] ;
ann an Gebah ghabh iad tàmh : tha
Ramah air chrith ; tha Gibeah Shauil
a' teicheadh.

30 Tog ſuas do ghuth, O nighean
Ghallim ; cluinnear e gu ruig Lais,
O Anatot thruagh [e].

31 Theich

a *iarmad, fuigheach.* b *dh'eaſbhuidh.* c *a chungaidh, 'acfuin.* d *àth, àthan.* e *cluinn O Lais ; freagair i O Anatot.*

31 Theich Madmenah; tha luchd-
àiteachaidh Ghebim air gabhail na
ruaige.
32 Fanaidh e fathaſt an là ſin ann an
Nob; crathaidh e a làmh *an aghaidh*
cnuic nighin Shioin, *an aghaidh* ſléibh
Ieruſaleim.
33 Feuch ſgathaidh Iehobhah,
Tighearn nan ſluagh, a' gheug le
luaſgadh mòr; agus bithidh iadſan
a's àirde fàs air an gearradh sìos, a-
gus na h-uaibhreich air an ìſleach-
adh.
34 Agus gearraidh e doſan na
frìdhe le iarunn; agus tuitidh Leba-
non le *làimh* chumhachdaich.

CAIB. XI.

AGUS thig geug a mach o bhonn
Ieſe, agus fàſaidh faillean ſuas
as a fhreumhaibh.
2 Agus gabhaidh ſpiorad an Tigh-
earna còmhnuidh air, ſpioraid glioc-
ais agus tuigſe, ſpiorad comhairle a-
gus cumhachd, ſpiorad eòlais agus
eagail an Tighearna:
3 Agus bithidh e geur-mhothach-
ail, ann an eagal an Tighearna; agus
cha'n ann do réir ſeallaidh a ſhùl a
bheir e breth, no do réir clàiſteachd
a chluas a bheir e achmhaſan.
4 Ach le ceartas bheir e breth air
a' bhochd, agus bheir e achmhaſan,
le cothrom, as leth dhaoine ciùine na
talmhainn; agus buailidh e an talamh
le ſlait a bheoil, agus le anail a bhile
marbhaidh e an t-aingidh.
5 Agus bithidh ionracas na chrios
m'a leaſraidh, agus firinn [a] na crios
m'a airnibh.
6 An ſin gabhaidh an madadh-
alluidh còmhnuidh maille ris an uan,
agus luidhidh an liopard sìos maille
ris a' mheann; agus an laogh, agus
an leòmhan òg, agus an ſpréidh
reamhar le chéile; agus ni leanabh
beag an ſtiùradh.
7 Agus ionaltraidh a' bhò agus am
math-ghamhuin le chéile; luidhidh
an àlach sìos *cuideachd*; agus ithidh
an leòmhan connlach [b] mar an damh.
8 Agus cluichidh an leanabh cìche
air toll na nathrach nimhe; agus air
nead na righ-nathrach cuiridh an
leanabh a thàinig o'n chìch a làmh.
9 Cha dochainn agus cha ſgrios iad,
air feadh mo ſhléibh naomha-ſa gu
h-iomlan; oir lìonar an talamh le
eòlas an Tighearna, mar a chòmhd-
uicheas na h-uiſgeachan *aigin* na
fairge.
10 Agus anns an là ſin, bithidh
freumh Ieſe na ſheaſamh mar bhrat-
aich do na ſlòigh; d'a ionnſuidh-ſan
iarruidh na cinnich, agus bithidh a
thàmh glòrmhor.
11 Agus tarlaidh anns an là ſin
gu'n cuir an Tighearn a mach a làmh
a rìs an dara uair, a thoirt air ais
fuighill a ſhluaigh, a dh'fhàgar *dhiubh*,
o Aſiria, agus o'n Eiphit, agus o
Phatros, agus o Chus, agus o Elam,
agus o Shinar, agus o Hamat, agus o
innſibh [c] na fairge.
12 Agus togaidh e 'nàird bratach air
ſon nan cinneach, agus tionailidh e
diobarraich Iſraeil, agus muinntir
ſgapta Iudah cruinnichidh e le chéile
o cheithir chearnaibh na talmhainn.
13 Agus ſguiridh farmad Ephraim,
agus bithidh luchd-sàruchaidh Iudah
air an gearradh as; cha bhi farmad
aig Ephraim ri Iudah, agus cha sàr-
uich Iudah Ephraim.
14 Ach leumaidh iad air guaill-
ibh [d] nam Philiſteach an taobh an
iar; creachaidh iad le chéile muinn-
tir na h-aird' an ear; air Edom agus
Moab leagaidh iad an làmh, agus
bheir clann Amoin géill doibh.
15 Agus millidh an Tighearn
teanga na fairge Eiphitich, agus crath-
aidh e a làmh os ceann na h-Aibhne
le a ghaoith làidir; agus buailidh ſe
i na ſeachd ſruthaibh, agus bheir *e
orra* imtheachd troimpe le caſaibh
tioram [e].
16 Agus bithidh rathad mòr aig
fuigheall a ſhluaigh a dh'fhàgar o
Aſiria; mar a bha aig Iſrael, anns an
là 's an d'thàinig e nìos ò thìr na
h-Eiphit.

CAIB. XII.

AGUS their thu anns an là ſin,
Molaidh mi thu, O Thighearn,
ged

a *tairiſneachd.* b *fodar.* c *eileanaibh.* d *buailidh iad a ſteach air crìochaibh.* e *nam brògaibh.*

ged bha thu feargach rium, tha
d'fhearg air a pilleadh air falbh, agus
thug thu comhfhurtachd dhomh.
2 Feuch is e Dia mo shlàinte;
earbaidh mi, agus cha bhi eagal orm;
oir is e an Tighearn Iehobhah mo
neart agus *mo* cheòl, is e fòs *a's* slàinte
dhomh.
3 An sin tairngidh sibh uisge le
h-aoibhneas a tobraichibh na slàinte.
4 Agus anns an là sin their sibh,
Molaibh an Tighearn, gairmibh air
'ainm; cuiribh an céill a ghnìomh-
ara am measg nan cinneach; cumaibh
air chuimhne [a] gu bheil 'ainm air
'àrdachadh.
5 Canaibh do'n Tighearn, oir rinn
e gnìomh oirdheirc, tha so aithnichte
anns an talamh uile.
6 Eigh gu h-àrd, agus dean iol-
ach, a bhean-à-teachaidh Shioin; oir
is mòr ann ad mheadhon Ti naomh
Israeil.

CAIB. XIII.

TROM eallach [b] Bhabiloin, a
chunnaic Isaiah mac Amois.
2 Air sliabh àrd togaibh suas brat-
ach; éighibh riu gu h-àrd; sìnibh
'*ur* làmh; a chum gu'n dthéid iad
a steach air geatachaibh nan uais-
lean.
3 Thug mi àithne do mo dhaoin-
ibh coisrigte; seadh, ghairm mi mo
dhaoine treuna a chum mo chorruich
a chur an gnìomh; muinntir a ta
deanamh luathghaire ann am mhòr-
achd.
4 Fuaim mòr-chuideachd anns na
sléibhtibh, amhuil sluaigh mhòir;
fuaim luasgaidh rioghachdan, chinn-
each air an cruinneachadh le chéile;
tha Tighearn nan sluagh ag deasach-
adh [c] feachd chum catha.
5 Tha iad a' teachd o thìr chéin,
o iomall nan nèamha, an Tighearn
agus buill-airm a chorruich, a mhill-
eadh na tìre gu léir.
6 Guilibh gu h-àrd, oir tha là an
Tighearna dlù; mar léir-sgrios o'n
Uile-chumhachdach thig e.
7 Air an aobhar sin lagaichear
na h-uile làmhan, agus leaghaidh gach
cridhe duine.
8 Agus bithidh iad fo uabhas; ni
piantan agus guinean greim orra;
mar mhnaoi ri saothair craidhear iad;
seallaidh iad gach aon air a chéile le
h-iongantas; *mar* lasraichibh teine
bithidh an eudana.
9 Feuch tha là an Tighearna
teachd, garg *le* feirg agus *le* dian
chorruich, a chur na tìre fàs, agus
a sgrios nan ciontach a mach aisde.
10 Oir cha tabhair reulta neimhe,
agus a comh-shoillse, uatha an solus,
bithidh a' ghrian air a dorchachadh
na dol a mach, agus cha dthoir a'
ghealach air a solus dealradh.
11 Agus diolaidh mis' air an
t-saoghal *an* droch-bheart, agus air
na h-aingidh an ea-ceart; agus cuir-
idh mi crìoch air àrdan nan uaibhr-
each, agus leagaidh mi sìos uaill nan
uabhasach.
12 Ni mi duine ni's luachmhoire
na òr grinn; seadh duine, na fìor òr
na h-Ophir.
13 Uime sin luaisgidh mi na nèamh-
an, agus gluaisear an talamh as 'àit;
ann am feirg Tighearna nan sluagh,
agus ann an là a dhian chorruich.
14 Agus bithidh *iad* mar earb air
a ruagadh, agus mar threud chaorach
nach 'eil neach a' cuairteachadh;
tionndaidhidh iad gach aon chum a
shluaigh féin; agus teichidh iad gach
aon g'a dhùthaich féin.
15 Gach fear a ghlacar, sàthar
trid e; agus na h-uile a dhlù-leanas
r'a chéile, tuitidh iad leis a' chlaidh-
eamh.
16 Agus pronnar an naoidheana
fa chomhair an sùl; bithidh an tigh-
ean air an creachadh, agus am
mnathan air an éigneachadh.
17 Feuch, dùisgidh mi suas nan
aghaidh na Medich, aig nach bi meas
air airgiod; agus *air son* òir, cha bhi
suim aca dheth.
18 Pronnaidh am boghachan na
h-òganaich, agus cha dean iad iochd
air toradh na bronn; cha ghabh an
sùil truas do leanabaibh.

19 Agus

a *aithrisibh*. b *Faisneachd dhubhach, Tairgreachd a' bhròin*. c *ag cur an ordugh*.

19 Agus bithidh Babilon, maiſe nan rioghachdan, giòir uaill nan Caldeach, mar an léir-ſgrios *a thug* Dia air Sodom agus Gomorrah.

20 Cha'n àitichear gu bràth i, ni mò ghabhar còmhnuidh innte feadh linn nan linn; cha ſuidhich an t-Arabach bùth an ſin, ni mò ni buachailean buaile an ſin.

21 Ach gabhaidh ſiadh-bheathaichean an fhàſaich còmhnuidh an ſin; agus bithidh an tighean làn do uathbheiſtean[a]; agus gabhaidh na cailleachan-oidhche tàmh an ſin, agus ni na gabhair fhiadhaich mire an ſin.

22 Agus freagraidh na h-eoin fhiadhaich a chéile na lùchairtibh, agus na dragona anns na ſeòmraichibh aoibhin; agus ta a h-àm am-fagus, agus cha bhi a laithean air an sìneadh.

CAIB. XIV.

OIR ni an Tighearn iochd air Iacob, agus ròghnaichidh e fathaſt Iſrael, agus ſuidhichidh ſe iad nam fearann féin; agus bithidh an coigreach air a cheangal riu, agus dlù-leanaidh iad ri tigh Iacoib.

2 Agus gabhaidh na cinnich iad, agus bheir iad gu'n àit féin iad, agus ſealbhaichidh tigh Iſraeil iad ann am fearann an Tighearna, mar òglaich agus mar bhanoglaich; agus ni iad braighdean dhiubhſan aig an robh iad nam braighdibh; agus riaghlaidh iad os ceann na muinntir a bha 'gan sàruchadh.

3 Agus tarlaidh anns an là anns an tabhair an Tighearn dhuit fois o d' àmhghar, agus o d' mhi-ſhuaimhneas, agus o'n daorſa chruaidh a leagadh ort,

4 Gu'n tog thu an fhaiſneachd[b] ſo an aghaidh righ Bhabiloin, agus their thu, Cionnus a ſguir an fear-sàruchaidh! *cionnus* a ſguir iſe a bha ſgeadaichte le h-òr!

5 Bhris an Tighearn lorg nan aingidh, ſlat rioghail an luchd-riaghlaidh.

6 Eſan a bhuail na ſlòigh ann am feirg, le buille gun ſgur; eſan a thug ſo ghéill na cinnich ann an corruich; tha e air a dhian-ruagadh, gun *neach* a' bacadh.

7 Tha an talamh uile aig fois, *agus* ann an ſuaimhneas; tha iad a' togail iolaich.

8 Tha na croinn-ghiuthais féin ri gairdeachas tharad, *agus* croinn-ſheudair Lebanoin, *ag ràdh*, O'n uair a thuit thuſa, cha d'thàinig fear-gearraidh a nìos nar n-aghaidh-ne.

9 Tha ionad nam marbh air gluaſad ſhìos air do ſhon gu *do* choinneachadh aig do theachd; tha e dùſgadh nam marbh air do ſhon, uile dhaoine mòra na talmhainn; tha e toirt air uile righre nan cinneach éirigh ſuas o'n caithrichibh.

10 Labhraidh gach aon diubh, agus their iad riut, Am bheil thuſa fòs air fàs lag mar ſinne? An d'rinneadh thu coſmhuil ruinne?

11 Tha d'uabhar air a thoirt a nuas chum na h-uaighe, *agus* fuaim d'innealan-ciuil; tha a' chnuimh air a ſgaoileadh fodhad, agus *is iad* na cnuimheagan do chòmhdachadh.

12 Cionnus a ta thu air tuiteam o nèamh, a Reul dhealrach, a mhic na maidne! *Cionnus* a ta thu air do ghearradh sìos gu làr, *thuſa* a thug ſo ghéill na cinnich!

13 'S ann a thubhairt thu ann do chridhe, Théid mi ſuas a chum nan nèamha, os ceann reultan Dé àrdaichidh mi mo righ-chaithir; agus ſuidhidh mi air ſliabh a' cho-chruinneachaidh, air taobh na h-àirde tuath.

14 Théid mi ſuas os ceann àirde nan neul: bithidh mi coſmhuil ris an Ti a's àirde.

15 Ach bheirear a nuas thu chum na h-uaighe, gu taobhan an t-ſluichd.

16 Iadſan a chi thu, amhaircidh iad gu geur ort, gabhaidh iad beachd dhiot: An e ſo, *deir iad*, am fear a thug air an talamh criothnachadh, a chuir rioghachdan air chrith?

17 *A* rinn an ſaoghal mar fhàſach, agus *a* leag sìos a bhailtean; nach d'fhoſgail am prìoſun d'a bhraighdibh?

18 Tha uile righre nan cinneach, an

a *uilebheiſtean.* b *tairgreachd, ſeanachas baird, briathar filidh.*

an t-iomlan diubh, a' luidhe ſìos ann
an greadhnachas, gach aon na fhàrd-
oich féin.
19 Ach tha thuſa air do thilgeadh
mach as an uaigh, mar ghéig ghràin-
eil, *mar* thruſcan nan daoine a mharbh-
adh, a throimh-lotadh leis a' chlaidh-
eamh, a chaidh ſìos do chlachaibh an
t-ſluichd; mar chloſaich air a ſaltairt
fo choſaibh.
20 Cha'n adhlaicear thu nan co-
chuideachdſan; a chionn gu'n do
ſgrios thu do dhùthaich, gu'n do
mharbh thu do dhaoine; cha bhi
iomradh [a] gu bràth air ſliochd dhroch
dhaoine.
21 Ullaichibh àr air ſon a chloinne,
air ſon aingidheachd an aithrichean;
a chum as nach [b] éirich iad, agus
nach ſealbhuich iad an talamh, agus
nach líon iad aghaidh an domhain le
bailtibh.
22 Oir éirigh miſe nan aghaidh,
deir Tighearn nan ſluagh, agus gearr-
aidh mi as o Bhabilon an t-ainm agus
an t-iarmad, agus am mac agus an
t-ogha, deir an Tighearn.
23 Agus ni mi e na ſheilbh do'n
ghràineig, agus na phollaibh uiſge;
agus ſguabaidh mi e le ſguaib an léir-
ſgrios, deir Tighearn nan ſluagh.
24 Mhionnuich Tighearn nan
ſluagh, ag ràdh, Gu cinnteach mar a
dhealbh miſe, mar ſin tarlaidh; agus
mar a chuir mi romham, bithidh ſin
air bhuil;
25 A chum an t-Aſirianach a bhriſ-
eadh ann mo dhùthaich, agus a ſhalt-
radh fo m' choſaibh air mo ſhleibht-
ibh: an ſin falbhaidh a chuing dhiubh,
agus togar 'eallach bharr an guaille.
26 So a' chomhairle a ta air a
ſuidheachadh mu'n talamh uile; agus
ſo an làmh a ta sìnte mach thar na
h-uile chinneachaibh.
27 Oir ſhònruich [c] Tighearn nan
ſluagh a' chomhairle, agus cò a bhac-
as [d]? agus is i a lámh-ſan a ta sìnte
mach, agus cò a philleas air a h-ais
i?
28 Anns a' bhliadhna 's an d'fhuair
righ Ahas bàs, bha an trom eallach
ſo [e].
29 Na dean-ſa gàirdeachas, O uile
Phaleſtìne, a chionn gu'n do bhriſ-
eadh ſlat an fhir *a bha* 'gad bhualadh;
oir o fhreumh na nathrach thig a
mach righ-nathair, agus is toradh dh'i
nathair theinteach itealach.
30 Agus beathaichear ceud-ghin
nam bochd, agus luidhidh an t-ainnis
ſìos ann an tèaruinteachd; agus marbh-
aidh mi do fhreumh-ſa le gorta, agus
d'iarmad cuiridh e gu bàs.
31 Nuallaich, O gheata; éigh, O
chathair; O Phaleſtìne, tha thu uile
air do leaghadh as; oir o'n àirde tuath
thig deatach, agus cha bhi neach aon-
aranach [f] na thràthaibh ſuidhichte [g].
32 Agus ciod am freagradh bheir-
ear do theachdairibh nan cinneach?
Gu'n do leag an Tighearn bunaite
Shioin, agus innte cuiridh bochdan a
ſhluaigh *an* dòchas.

CAIB. XV.

TROM eallach Mhoaib. A chionn
gu bheil Ar Mhoaib air a fàſ-
achadh, anns an oidhche, *agus* air a
lomadh gu làr; a chionn gu bheil
Cir Mhoaib air a fàſachadh, *agus* air
a lomadh gu làr:
2 Chaidh e ſuas gu Bait agus gu
Dibon, na h-ionadaibh àrda, a ghul.
Ni Moab caoineadh air ſon Nebo agus
air ſon Mhedeba; air gach ceann
diubh *bithidh* maoile; *bithidh* gach
feuſag air a gearradh dheth.
3 Ann a ſràidibh crioſlaichidh ſiad
iad féin le eudach-ſaic; air mullach
a tighean, agus ann a ſràidibh, caoin-
idh gach aon diubh, a' ſileadh dheur
gu fraſach.
4 Agus bithidh Heſbon ag éigh-
each, agus Elealeh; cluinnear an guth
gu ruig Iahas; uime ſin glaodhaidh
daoine armaichte Mhoaib gu h-àrd;
bithidh a beatha ſearbh dh'i.
5 Tha mo chridhe ag éigheach air
ſon Mhoaib; *teichidh* a luchd-fuad-
ain do Shoar, mar àigh tri bliadhna
dh'aois; dìridh iad uchdach Luhit
le

a *biùthas.* b *mu'n.* c *dh'orduich, aich.* d *bheir gu neo-bhrigh?* e *thugadh ſeachad an fhaiſneachd dhubhach ſo.* f *air chall, air iomrall.* g *na bhuidhnibh.*

le gul; oir ann an ſlighe Horonaim togaidh iad iolach mhillidh.

6 Oir bithidh uiſgeacha Nimrim nan léir-ſgrios; oir tha an luibh air ſeargadh, tha am feur air teireachdainn; cha 'n'eil ni glas[a] ann.

7 Air an aobhar ſin, am beartas a fhuair iad, agus an ni ſin a thaiſg iad, bheir iad air falbh gu ſruth[b] nan ſeileach.

8 Oir chaidh an èigheach timchioll crìche Mhoaib; *ràinig* a caoineadh gu Eglaim, agus a caoineadh *gu* Beer-Elim.

9 Oir tha uiſgeacha Dimoin làn fola; oir bheir miſe tuille air Dimon, an leòmhan orra-ſan a theid as o Mhoab, agus air fuigheall na tìre.

C A I B. XVI.

CUIRIBHSE uan dh'ionnſuidh na tìre, o Shela an fhàſaich, gu ſliabh nighin Shioin.

2 Oir mar eunlaith ſeacharanach, air am fògradh o'n nead, *mar ſin* bithidh nigheana Mhoaib aig àthaibh Arnoin.

3 Tabhair comhairle, cuir an gnìomh breitheanas; dean do ſgàile mar an oidhche ann an àirde mheadhon-latha; folaich na dìobaraich; na brath am fògarach.

4 Gabhadh mo dhìobaraich tàmh maille riut, O Mhoaib; bi a'd' ionad-foluich dhoibh o'n mhilltear; oir thàinig crìoch air an fhear-sàruchaidh, ſguir am fear-millidh; tha an luchd-ſaltairt air an caitheadh as an tìr.

5 Agus daingnichear an righchaithir ann an tròcair, agus ſuidhidh ſe oirre ann am fìrinn, ann am pàilliun Dhaibhidh, a' tabhairt breth, agus a' rannſuchadh na còrach, agus a' deifreachadh[c] ceartais.

6 Chuala ſinn uabhar Mhoaib; *tha e* ro uaibhreach; 'àrdan, agus 'uaill, agus 'fhearg; *ach* cha 'n'eil a ſpionnadh[d] d'a réir.

7 Air an aobhar ſin caoinidh Moab; air ſon Mhoaib caoinidh gach aon; air ſon bunaite Chir-hareſeit ni ſibh tuireadh; gu cinnteach *tha iad* air am bualadh.

8 Oir tha machraichean Heſboin air fàilneachadh, *agus* fionain Shibmah; bhris maithean nan cinneach ſìos a fìonh-chroinn ghaſta; ràinig iad gu Iaſer; ſgaoil iad *air feadh* an fhàſaich; ſhìn a geugan iad féin a mach, chaidh iad thar an fhairge.

9 Air an aobhar ſin guilidh mi le gul Iaſeir air ſon fionain Shibmah; uiſgichidh mi thu le m' dheuraibh, O Heſboin agus Elealeh; oir dh'fhalbh a' cho-ghàir air ſon do mheas-ſamhraidh, agus air ſon d'fhogharaidh.

10 Agus tha aoibhneas agus gairdeachas air an toirt air falbh o'n mhachair thorraich; agus anns na fion-lioſaibh cha dean iad ceòl, cha tog iad iolach; anns na h-amaraibh cha bhruth am fear-bruthaidh fion; thug mis' air an iolaich ſgur.

11 Uime ſin ni mo chom fuaim mar chlàrſaich, air ſon Mhoaib; agus mo thaobh a ſtigh, air ſon Chirhareis.

12 Agus tarlaidh, 'nuair a chithear gu'n do ſgìthich Moab e féin air an ionad àrd, gu'n dthéid e ſteach d'a ionad naomh a dheanamh urnuigh, ach cha ſoirbhich leis.

13 So am focal a labhair an Tighearn mu thimchioll Mhoaib o'n àm ſin[e].

14 Ach a nis labhair an Tighearn ag ràdh, an ceann thri bliadhna, mar bhliadhnaibh fir-thuaraſdail, nithear glòir Mhoaib tàireil, le a mhòr ſhluagh uile; agus *bithidh* am fuigheall ro bheag *agus* anfhann.

C A I B. XVII.

TROM eallach Dhamaſcuis. Feuch tha Damaſcus air 'atharrachadh o *bhi na* bhaile, agus bithidh e na thorr léir-ſgrios.

2 Tha bailtean Aroeir air an tréigſinn; bithidh iad air ſon threuda *a* luidheas ſìos, agus cha *bhi neach* 'g *am* fuadachadh.

3 Agus dealaichidh an daingneach o Ephraim, agus an rioghachd o Dhamaſcus; agus fuigheall Shiria, bithidh iad mar ghlòir chloinne Iſraeil,

a *uaine.* b *gleann.* c *luathachadh.* d *a bhreugan.*
e *o cheann fada*

deir Tighearn nan ſluagh.

4 Agus tarlaidh, anns an là ſin, gu'm bi glòir Iacoib air a caitheadh as, agus faſaidh ſaill 'fheòla caol.

5 Agus bithidh e amhuil an uair a chruinnicheas *neach* fogharadh an arbhair, agus a bhuaineas a ghairdean na diaſan; agus bithidh e amhuil a thionaileas *neach* diaſan ann an gleann Rephaim.

6 Gidheadh fàgar ann fuigheall dhearcan, mar ann an crathadh a' chroinn-ola; dhà *no* trì dhearcanaibh air mullach a' mheangain a's àirde; ceithir *no* cùig air a gheugaibh iomallach torrach, deir an Tighearn Dia Iſraeil.

7 Air an là ſin amhaircidh duine air a Chruith-fhear, agus ſeallaidh a ſhùilean air Tì naomh Iſraeil.

8 Agus cha n-amhairc e air na h-altairibh a rinn a làmha féin, agus air an ni ſin a dhealbh a mheoir cha ſeall e: araon na doireachan agus na dealbhan.

9 Anns an là ſin bithidh a bhailtean daingnichte coſmhuil ri meangan a dh'fhàgadh, no ri géig a dh'fhàg iad, roimh chloinn Iſraeil; agus bithidh léir-ſgrios ann.

10 A chionn gu'n do dhi-chuimhnich thu Dia do ſhlàinte, agus nach robh thu cuimhneach air carraig do neirt: air an aobhar ſin ſuidhichidh tu craobhan taitneach, agus ſuidhichidh tu failleana coimheach.

11 Anns an là bheir thu air do chraobhan fàs, agus anns an oidhche bheir thu air do ſhiol cinntinn; *ach bithidh* am fogharadh na dhùn ann an là a' dhoilghis [a] agus a' bhròin gun dòchas.

12 Is anaoibhin do mhòr chuideachd nam fineacha lìonmhor, *a* ta deanamh fuaime mar fhuaim nan cuantan; agus do bheucaich nan cinneach, *a* ta ri beucaich coſmhuil ri toirm uiſgeacha làidir.

13 Beucaidh na cinnich coſmhuil ri toirm mhòrain uiſgeacha, ach bheir *Dia* dhoibh achmhaſan, agus teichidh iad fad air falbh; agus ſuadaichear iad mar chanach an t-ſléibh roimh'n ghaoith, agus mar chuairteig roimh an iom-ghaoith.

14 Agus feuch, ri h-àm an fheaſgair, uabhas; *agus* mu'n dthig a' mhaduinn, cha'n '*eil e* ann. So cuibhrionn na muinntir a ta 'gar creachadh; agus crannchur na dream a ta 'gar ſpuinneadh [b].

CAIB. XVIII.

IS truagh do'n tìr a ta folaichte le ſgiathaibh, a *ta* air taobh thall aibhnichean Etiopia:

2 A ta cur theachdairean air an fhairge, agus ann an eathraichibh cuilce air aghaidh nan uiſgeachan, *ag ràdh*, Imichibh, a theachdairean luatha, gu cinneach air a ſgaoileadh a mach agus air a lomadh [c]; gu ſluagh uabhaſach o'n toiſeach gu ruige ſo; gu cinneach air a thomhas a mach leis an t-ſreing, agus air a ſhaltairt sìos; aig am bheil 'fhearann air a chreachadh leis na h-aibhnichibh.

3 Sibhſe uile a luchd-àiteachaidh an t-ſaoghail, agus a ta gabhail còmhnuidh air an talamh, an uair a thogar bratach ſuas air na ſléibhtibh, faicibh; agus an uair a ſhéidear trompaid, éiſdibh.

4 Oir mar ſo thubhairt an Tighearn rium, Gabhaidh mi fois, agus bithidh mo ſhùil air m'àite-còmhnuidh; mar theas dealrach air an fheur, mar neul dealta ann an teas an fhogharaidh.

5 Oir roimh an fhogharadh, 'nuair a bhitheas am blàth iomlan, agus a bhitheas am fion-dhearc an-abuich a' tilgeadh a bhlàtha; gearraidh e dheth na meoir le corranaibh-ſgathaidh, agus na geuga bheir e air falbh, *agus* gearraidh e sìos.

6 Fàgar iad le chéile gu eunlaith nam beann, agus gu beathaichibh na talmhainn; agus cuiridh an t-eunlaith thairis an ſamhradh orra, agus cuiridh gach uile bheathach na talmhainn thairis an geamhradh orra.

7 Anns an àm ſin bheirear tabhartas gu Tighearn nan ſluagh o chinneach air a ſgaoileadh a mach agus air a lomadh; agus o ſhluagh uabhaſach o'n toiſeach gu ruige ſo; cinneach air a thomhas a mach leis an t-ſreing, agus air a ſhaltairt sìos, aig am

am

a *na ſeilbhe.* b *ſladadh.* c *'fhionnadh.*

am bheil am fearann air a chreachadh
leis na h-aibhnichibh, gu ionad ainme
Tighearna nan sluagh, gu sliabh Shi-
oin.

CAIB. XIX.

TROM eallach na h-Eiphit.
Feuch tha an Tighearn a'
marcachd air neul luath, agus a'
teachd do'n Eiphit; agus bithidh
iodhola na h-Eiphit air an gluasad na
fhianuis; agus leaghaidh cridhe na
h-Eiphit na meadhon.

2 Agus cuiridh mis' Eiphitich an
aghaidh Eiphiteach; agus cogaidh
iad gach fear an aghaidh a bhrathar,
agus gach fear an aghaidh a choimh-
earsnaich; baile an aghaidh baile,
agus rioghachd an aghaidh riogh-
achd.

3 Agus fannaichidh spiorad na
h-Eiphit na meadhon; agus cuiridh mi
ann an neo-brìgh a comhairle; agus
iarraidh iad a chum nan iodholan,
agus a chum nan druidhean, agus a
chum na muinntir aig am bheil lean-
nain-shìth, agus a chum an luchd-
fiosachd.

4 Agus bheir mi thairis na h-Eiph-
itich do làimh thighearna ainiochd-
mhoir; agus riaghlaidh righ borb os
an ceann, deir an Tighearn, Tigh-
earn nan sluagh.

5 Agus fàilnichidh na h-uisgeach-
an o'n fhairge, agus theid an Abh-
ainn an deòthadh, agus tiormaichear
suas i.

6 Agus tionndaidhidh iad na
h-aibhnichean fad a lethtaobh, agus
bithidh na sruthan dìonaidh air an
deanamh folamh, agus tioram; searg-
aidh a' chuilc agus an luachair.

7 Na luibhean ùrar ri taobh nan
sruth, aig beul nan sruth, agus gach
ni a chuireadh an cois nan sruth,
seargaidh, sguabar air falbh, agus
cha bhi e ann ni's mò.

8 Agus ni na h-iasgairean bròn,
agus ni iadsan uile ta tilgeadh dubh-
ain anns an abhainn caoidh; agus
fannaichidh iadsan a ta sgaoileadh
liontan air aghaidh nan uisgeacha.

9 Agus cuirear gu h-amhluadh
iadsan a ta 'g oibreachadh an lin
ghrinn, agus iadsan a ta figheadh
lion oibre.

10 Agus sgaoilear as a chéile innl-
eachdan,[a] gach uile neach a ni clais-
ean agus linneachan air son éisg.

11 Gu cinnteach is amadain ceann-
ardan Shoain; thug comhairlichean
glice Pharaoih comhairle mhi-chéil-
lidh; cionnus a deir sibh ri Pharaoh,
Is mise mac nan daoine glice, mac
nan righrean a bh'ann o chian.

12 C'àit *am bheil* iad? Cia *iad* do
dhaoine glice? innseadh iad dhuit a
nis, agus cuireadh iad an céill, ciod i
comhairle Tighearna nan sluagh do
thaobh na h-Eiphit.

13 Dh'fhàs ceannardan Shoain nan
amadain, tha ceannardan Noph air
am mealladh; agus thug iad air an
Eiphit dol air seacharan, *eadhon*
luchd-taice a treubhan.

14 Mheasg an Tighearn nam
meadhon spiorad seacharain; agus
thug iad air an Eiphit dol air seach-
aran na h-uile oibribh, cosmhuil ri
misgear a' tuisleachadh na sgeith.

15 Ni mò bhitheas obair air bith
anns an Eiphit, aig a' cheann no aig
an earball, aig a' ghéig no aig an
luachair, r'a deanamh.

16 Anns an là sin bithidh an Eiphit
cosmhuil ri mnaibh; agus bithidh
crith agus geilt oirre, roimh chrath-
adh làimhe Tighearna nan sluagh, a
chrathas e os a ceann.

17 Agus bithidh tìr Iudah na cùis-
eagail do'n Eiphit; gach neach a ni
luadh oirre, gabhaidh e eagal ann
féin; air son comhairle Tighearna
nan sluagh, a ghabh e na h-agh-
aidh.

18 Anns an là sin, bithidh cùig
bailtean ann an tìr na h-Eiphit, a' labh-
airt cainnt Chanaain, agus a' mion-
nachadh do Thighearn nan sluagh;
goirear do aon diubh Baile an sgrios.

19 Anns an là sin bithidh altair do'n
Tighearn ann am meadhon tìre na
h-Eiphit; agus carradh aig a crich
do'n Tighearn.

20 Agus bithidh e mar chomhar-
adh agus mar fhianuis do Thighearn
nan sluagh ann an tìr na h-Eiphit, oir
glaodhaidh iad ris an Tighearn air

 son

[a] *liontan.*

son an luchd-sàruchaidh, agus cuiridh
e d'an ionnsuidh fear-saoruidh, eadhon
fear treun, agus fuasglaidh se iad.
21 Agus bithidh an Tighearn
aithnichte do'n Eiphit, agus aithnich-
idh na h-Eiphitich an Tighearn anns
an là sin; agus bheir iad iobairt agus
tabhartas uatha; agus geallaidh iad
gealladh [a] do'n Tighearn, agus coimh-
lionaidh siad e.
22 Agus buailidh an Tighearn an
Eiphit, a' bualadh agus a' leigheas;
agus pillidh iad dh'ionnsuidh an Tigh-
earna, agus eisdidh esan ri'n guidhe,
agus leighisidh se iad.
23 Anns an là sin bithidh rathad
mòr o'n Eiphit gu Asiria; agus thig
an t-Asirianach do'n Eiphit, agus an
t-Eiphiteach gu Asiria; agus ni an
t-Eiphiteach adhradh maille ris an
Asirianach.
24 Anns an là sin measar Israel an
treas aon, maille ris an Eiphit agus
ri Asiria, na bheannachadh ann am
meadhon na tìre;
25 A bheannuicheas Tighearn nan
sluagh, ag ràdh, Beannuichte gu robh
an Eiphit, mo shluagh-sa; agus Asi-
ria, obair mo làmh; agus Israel,
m'oighreachd.

CAIB. XX.

ANNS a' bhliadhna san d'thàinig
Tartan gu Asdod; an uair a
chuir Sargon righ Asiria a mach e,
agus chog e an aghaidh Asdoid, agus
ghlac se e;
2 Anns an àm sin labhair an Tigh-
earn le Isaiah mac Amois, ag ràdh,
Imich, agus fuasgail an t-eudach-saic
o d' leasraibh, agus cuir dhiot do
bhrògan bharr do chos; agus rinn e
mar sin, ag imtheachd lomnochd a-
gus casruisgte [b].
3 Agus thubhairt an Tighearn,
Amhuil a dh'imich m'òglach Isaiah,
lomnochd agus casruisgte tri bliadhna,
na chomharadh agus na iongantas
air an Eiphit agus air Etiopia;
4 Mar sin bheir righ Asiria air
falbh braighdean na h-Eiphit, agus
ògaraich Etiopia, òigridh agus seann
daoine, le an taobh-cùil air a leig-
eadh ris, a chum nàire na *h*-Eiphit.
5 Agus bithidh iad fuidh amhluadh,
agus gabhaidh iad nàire do Etiopia
bu bhun-dòchais doibh, agus do'n Ei-
phit, *a b'*aobhar uaill doibh.
6 Agus their fear-àiteachaidh na
tìre so anns an là sin; Feuch is amh-
uil so ar bun-dòchais, gus [c] an do theich
sinn air son cobhair, a chum gu'm
bitheamaid air ar saoradh o righ
Asiria; cionnus ma ta theid sin as?

CAIB. XXI.

TROM eallach fàsaich na fairge.
Mar dhoinionnaibh anns an
àirde deas, a' dol seachad; o'n fhàs-
ach tha e teachd, o thìr uabhasaich.
2 Dh'fhoillsicheadh sealladh eag-
alach dhomh: tha an cealgair a' caith-
eadh feill, agus tha am fear-creach-
aidh a' creachadh, rach suas O El-
aim; teannaich O Mhedia; chuir
mise crìoch air a h-uile osnaich.
3 Uime sin lionadh mo leasraidh le
cràdh; ghlac piantan mi, mar phiant-
aibh mnà ri saothair-chloinne. Bha
mi air mo chromadh sìos, an uair a
chuala mi; dh'fhàs mi air chrith,
'nuair a chunnaic mi.
4 Chlisg mo chridhe; chuir uabhas
fiamh orm; feasgar mo shòlais thionnd-
aidh e gu h-uamhunn domh.
5 Deasaich am bòrd; suidhich an
fhaire; ith; òl; èiribh, a cheanna-
feadhna, ungaibh an sgiath.
6 Oir mar so thubhairt an Tigh-
earn rium, Imich, suidhich fear-faire;
an ni a chi e, innseadh e.
7 Agus chunnaic e carbad le dà
mharcach, carbad le asalaibh, *agus*
carbad le càmhalaibh; agus thug e
fa'near gu dìchiollach le geur aire.
8 Agus ghlaodh e, Leòmhann [d]:
Mo thighearn, ta mi a'm' sheasamh
an còmhnuidh ann am ionad-faire,
air feadh an là; agus tha mi a' fant-
uinn air mo fhreiceadan rè gach
oidhche.
9 Agus feuch, an so tha carbad do
dhaoinibh a' teachd, *le* dà mharcach.
Agus fhreagair e agus thubhairt e, Tha
Babilon air tuiteam, air tuiteam; agus
tha uile dhealbhan snaighte a diathan
air

a *mòidichidh iad mòid.* b *caslom.* c *dh'ionnsuidh.* d *mar gu'm biodh Leòmhann.*

air am brifeadh gu làr.

10 Och mo bhualadh, agus arbhar m'ùrlair! an ni a chuala mi o Thighearn nan fluagh, Dia Ifraeil, chuir mi an céill duibhfe.

11 Trom eallach Dhumah. Dh'éigh e rium o Sheir, Fhir na faire, ciod o'n oidhche? Fhir na faire, ciod o'n oidhche?

12 Thubhairt am fear-faire, Tha a' mhaduinn a' teachd, agus fòs an oidhche: ma dh'fhiofruicheas fibhfe, fiofruichibh: pillibh, thigibh.

13 An fhàifneachd mu thimchioll Arabia. Anns an fhrìthe, ann an Arabia, gabhaidh fibh tàmh, a chuideachda-fiubhail Dhedanim.

14 Thug luchd-àiteachaidh tìre Thema uifge dh'ionnfuidh an tartmhoir; le an aran thàinig iad an còdhail an fhògaraich.

15 Oir o na claidhibh theich iad, o'n chlaidhe ruifgte[a], agus o'n bhogha lùbta, agus o bhoile a' chogaidh.

16 Oir mar fo thubhairt an Tighearn rium, Fathaft bliadhna, mar bhliadhnaibh fir-thuarafdail, agus bithidh uile ghlòir Chedair air caitheadh as.

17 Agus lughdaichear fuigheall àireimh nam fear-bogha, fir threuna do mhacaibh Chedair; oir labhair an Tighearn Dia Ifraeil *e*.

CAIB. XXII.

TROM eallach glinn an taifbeanaidh. Ciod a thàinig ort a nis[b], gu'n deachaidh thu gu léir fuas gu mullach nan tighean?

2 Thus' a bha làn farum[c], a'd' chathair fhuaimnich, a'd' chathair aoibhin: do *dhaoin'* a th'air am marbhabh, cha do mharbhadh leis a' chlaidheamh iad; ni mò is anns a' chath a dh'eug iad.

3 Tha do chinn-fheadhna uile air fiubhal le chéile, cheangladh iad leis na fir-bhogha; na h-uile a fhuaradh annad, cheangladh iad le chéile, theich iad fad air falbh.

4 Air an aobhar fin thubhairt mi, Tionndaidh air falbh uam; guilidh mi gu goirt; na feuchaibh ri comhfhurtachd a thoirt domh, air fon léirchreach nighine mo fhluaigh.

5 Oir is là cruaidh iomairt e, agus faltairt sìos, agus buairidh, o Iehobhah Tighearn nan fluagh, ann an gleann an taifbeanaidh; a' brifeadh sìos bhallachan, agus a' glaodhach ris na beanntaibh.

6 Agus tha Elam a' giùlan a' bhuilg-fhaighead, le carbad do dhaoinibh *agus le* marc-fhluagh; agus tha Cir a rùfgadh na fgéithe.

7 Agus tarlaidh gu'm bi rogha do ghleann air an līonadh le carbadaibh, agus cuiridh na marcaich iad féin an ordugh fa chomhair a' gheataidh.

8 Agus thugadh air falbh còmhdach Iudah; agus fheall thu fan là fin ri airm[d] tighe na frìthe.

9 Agus chunnaic fibh bearnan baile Dhaibhidh, gu bheil iad lìonmhor; agus chruinnich fibh uifgeacha na linne ìochdaraich.

10 Agus dh'àirimh fibh tighean Ierufaleim, agus bhris fibh sìos na tighean a neartachadh a' bhalla.

11 Agus rinn fibh clais eadar an dà bhalla, air fon uifge na feann linne; ach cha d'amhairc fibh air fan a rinn e; agus efan a dhealbh o fhean e, cha d'thug fibh fainear.

12 Agus anns an là fin ghairm Iehobhah Tighearn nan fluagh gu gul, agus gu caoidh, agus gu maoile, agus gu criofllachadh le eudach-faic:

13 Ach feuch, aoibhneas agus aighear, marbhadh dhamh agus cafgairt chaorach, itheadh feòla agus òl fiona; Itheamaid agus òlamaid, oir am màireach gheibh finn bàs.

14 Agus dh'fhoillficheadh le Tighearn nan fluagh ann mo chluafaibh, Gu deimhin cha ghlanar an aingidheachd fo air falbh uaibh, gus am faigh fibh bàs, deir Iehobhah Tighearn nan fluagh.

15 Mar fo deir Iehobhah Tighearn nan fluagh, Imich, rach a dh'ionnfuidh an ftiubhaird[e] fo, dh'ionnfuidh Shebna, a ta os ceann an tighe, *agus abair ris*;

16 Ciod a th'agad an fo? agus cò a th'agad an fo, gu'n do chladhaich thu mach uaigh an fo air do fhon féin?

a *tharu'ngte.* b *Ciod a dh'fhairich thu nis.* c *iomairt.* d *tighairm, arm-lann.* e *an fhir riaghlaidh.*

féin? *mar* neach a ta cladhachadh mach uaighe dha féin gu h-àrd, a ta gearradh àite-còmhnuidh dha féin ann an carraig.

17 Feuch tilgidh an Tighearn a mach thu, 'gad thilgeadh a mach gu làidir; agus ni e gu cinnteach do chòmhdachadh.

18 Gu cinnteach cuiridh e car dhìot mu'n cuairt, agus bheir e urchair air falbh dhuit mar spitheig gu tìr fharsuing; ann an sin gheibh thu bàs, agus ann an sin bithidh do charbada sgiamhach nan nàire do thigh do thighearna.

19 Agus iomainidh mi as d'àit thu, agus o d'inbhe tilgidh mi sìos thu.

20 Agus tarlaidh anns an là sin, gu'n gairm mise m'òglach Eliacim mac Hilciah,

21 Agus sgeadaichidh mi e le d'fhalluing-sa, agus le do chrios neartuichidh mi e; agus d'uachdaranachd bheir mi thairis ann a làimh; agus bithidh e na athair do luchd-àiteachaidh Ierusaleim, agus do thigh Iudah.

22 Agus iuchair tighe Dhaibhidh cuiridh mi air a ghualainn; agus fosglaidh e, agus cha druid aon neach; agus druididh e, agus cha'n fhosgail aon neach.

23 Agus daingnichidh mi e *mar* tharaing ann an àite cinnteach; agus bithidh e mar chaithir ghlòrmhoir air son tighe 'athar.

24 Agus crochaidh iad airsan uile ghlòir tighe 'athar, an sliochd agus an gineal, gach soitheach beag, o na h-uile ghnè chuach, gus na h-uile ghnè aghann.

25 Anns an là sin, deir Tighearn nan sluagh, bithidh an tarang *a bha* air a suidheachadh ann an àit daingean air a h-atharrachadh; agus gearrar sìos i, agus tuitidh i; agus gearrar an eallach a *bha* oirre air falbh; oir labhair an Tighearn *e*.

CAIB. XXIII.

TROM eallach Thiruis. Deanaibh caoineadh a longa Tharsuis; oir sgriosadh i gu tur, ionnus nach 'eil tigh no fardoch[a]; o thalamh Chittim dh'fhoillsicheadh dhoibh e.

2 Bithibh tosdach, a luchd-àiteachaidh an eilein: lìonadh thu le ceannuichibh Shidoin, a ta siubhal thar cuan.

3 Agus sìol Shichoir o uisgeachaibh mòra, fàs na h-Aibhne, *b'e sin* a teachd-a-stigh; agus bha i na margadh do na cinneachaibh.

4 Biodh nàir ort, O Shidoin, oir labhair an fhairge, eadhon neart na fairge, ag ràdh, cha robh mi ri saothair, agus cha d'rug mi clann; cha d'àraich mi òganaich, ni mò thog mi suas òighean.

5 Mar *a bha* 'nuair a chualas *sgeul* mu'n Eiphit, *mar sin* bithidh iad fo àmhghar ri cluinntinn *sgeul* mu Thirus.

6 Rachaibh null gu Tarsus; deanaibh caoineadh, a luchd-àiteachaidh nan eilean.

7 An i so bhur *cathair* aoibhin[b], aig am bheil a h-aois o aimsir chéin? Giùlainidh a casan féin i fad as gu fantuinn air chuairt.

8 Cò a ghabh a' chomhairle so an aghaidh Thiruis, a thug seachad corona rìoghail, aig am bheil a ceannaichean nam prionnsaibh[c]; *agus* a luchd-malairt nan daoinibh urramach na tìre?

9 *Is e* Tighearn nan sluagh a dh'orduich e, a chur smala air uabhar gach uile ghlòire, agus a thabhairt uile uaislean na tìre suidh dhimeas.

10 Ruith thairis air d'fhearann, mar abhainn, O nighean Tharsuis; cha 'n'eil neart[d] ann ni's mò.

11 Shìn e a làmh thar an fhairge, chrath e na rìoghachdan; thug an Tighearn àithne an aghaidh *na cathrach a ta na* ceannuiche, chum a daingnichean làidir a sgrios.

12 Agus thubhairt e, Cha dean thu caithream ni's mò, O òigh shàruichte, a nighean Shidoin; éirich, rach thairis gu Citim; an sin fòs cha'n fhaigh thu suaimhneas.

13 Feuch

a *araon a stigh agus a muigh.* b *aighearach, shunntach.* c *tréithaibh, flathaibh.* d *crios.* Eabh.

13 Feuch tìr nan Caldéach; cha robh an ſluagh ſo ann, *gus an* do ſhuidhich an t-Aſirianach i air ſon luchd-àiteachaidh an fhàſaich; thog iad a baidealan[a], chuir iad ſuas a lùchairtean; *agus* rinn e a ſgrios.

14 Guilibh gu h-àrd, a longa Tharſuis; oir ſgrioſadh[b] bhur neart.

15 Agus tarlaidh anns an là ſin, gu'n leigear air dearmad Tirus deich agus trì fichead bliadhna, do réir laithean aon rìgh; an ceann deich agus trì fichead bliadhna, ſeinnidh Tirus mar ſtrìopaich.

16 Glac *do* chlàrſach, cuairtich am baile, a ſtrìopach a bha air do dhearmad; dean ceòl gu binn; ſeinn iomadh òran; a chum gu'n cuimhnichear a rìs thu.

17 Agus an ceann deich agus trì fichead bliadhna, thig an Tighearn a dh'amharc Thiruis; agus pillidh ſi a chum a coſnaidh; agus nì i ſtrìopachas le uile rioghachdaibh an domhainn, a ta air aghaidh na talmhainn.

18 Agus bithidh a malairt agus a buannachd naomha do'n Tighearn; cha taiſgear ſuas e, agus cha ghleidhear gu tearuint e; oir bithidh a malairt air ſon na muinntir a ta chòmhnuidh am fianuis an Tighearna, air ſon lòin a ſhàſuicheas, agus air ſon eudaich a mhaireas.

CAIB. XXIV.

FEUCH tha an Tighearn a' deanamh an fhearainn falamh, agus 'ga chur fàs; tha e 'ga thionndadh bun os ceann, agus a ſgapadh a luchd-àiteachaidh.

2 Agus tarlaidh, mar *a bhios* an ſluagh, mar ſin *bithidh* an ſagart; mar *a bhios* an t-òglach, mar ſin *bithidh* a mhaighſtir; mar *a bhios* a' bhanoglach, mar ſin *bithidh* a banmhaighſtir; mar *a bhios* an ceannuiche, mar ſin *bithidh* am fear-reic; mar *a bhios* eſan a bheir iaſachd, mar ſin *bithidh* eſan a ghabhas iaſachd; mar *a bhios* am fear a ghabhas riadh, mar ſin *bithidh* am fear a bheir riadh uaith[c].

3 Nithear an tìr gu tur falamh, agus creachar i gu buileach[d]; oir labhair[e] an Tighearn am briathar ſo.

4 Tha an tìr ri caoidh *agus* a' ſeargadh; tha an ſaoghal air lagachadh *agus* a' ſeargadh; tha uailſean[f] na tìre air lagachadh.

5 Tha an tìr eadhon air a truailleadh fuidh a luchd-àiteachaidh; oir bhris iad an reachd, dh'atharraich iad an t-ordugh; ſgaoil iad an co-cheangal ſiorruidh.

6 Air an aobhar ſin dh'ith mallachd ſuas an tìr, agus tha a luchd-àiteachaidh air am fàſachadh[g]; uime ſin tha luchd-àiteachaidh na tìre air an loſgadh ſuas, agus is tearc an dream a dh'fhàgadh.

7 Tha am fìon nuadh ri caoidh, tha an fhìonan lag, tha luchd a' chridhe aoibhin uile ag oſnaich.

8 Sguir fuaim aighireach nan tiompan; theirig luadhghair na muinntir a bha ri gàirdeachas; ſguir aighir na clàrſaich.

9 Cha'n òl iad fìon le ceòl; bithidh deoch làidir ſearbh dhoibhſan a dh'òlas i.

10 Tha cathair na mì-riaghailt[h] air a briſeadh ſìos; tha gach tigh air a dhruideadh ſuas, air chor as nach feud aon neach dol a ſteach.

11 Tha gaoir anns gach ſràid air ſon fìona; dhorchaicheadh gach aighir; ſhiubhail gairdeachas an fhearainn air falbh.

12 Dh'fhàgadh léir-chreach anns a' bhaile, agus le buaireas bhriſeadh ſìos an geata.

13 An uair a bhitheas mar ſo ann am meadhon na tìre, am meaſg an t-ſluaigh, *bithidh* amhuil crathadh a' chroinn-ola, *agus* mar an dioghlum an uair a chrìochnaichear am fìon-fhogharadh.

14 Togaidh iadſan an guth, cliùthaichidh iad gu h-àrd mòrachd an Tighearna; nì iad iolach o'n fhairge.

15 Uime ſin anns an teine[i] glòraichibh an Tighearn; *eadhon* ainm

an

a *tùran.* b *dhìthicheadh.* c *mar* a thachaireas do'*n t-ſluagh*, *mar ſin* tachairidh do'*n t-ſagart*, &c. d *baileach.* e *bhriathraich.* f *uailſe dhaoine.* g *oir tha a luchd-àiteachaidh ciontach.* h *a' chathair fhaondrach.* i *ionadaibh grianach, gleanntaibh.*

an Tighearna Dia Iſraeil, ann an eil-
eanaibh a' chuain.
16 O iomall na talmhainn chuala
ſinn òrain, *eadhon* glòir do'n fhìrean;
ach thubhairt miſe, mo chaoile, mo
chaoile; mo thruaighe mi, tha na
mealltairean a' mealladh, ſeadh le
foill tha na mealltairean a' mealladh.
17 Tha an t-uabhas, agus an ſlochd,
agus an ribe ort, O fhir àiteachaidh
na tìre.
18 Agus tarlaidh, eſan a theicheas
o ghuth an uabhais, gu'n tuit e ſan
t-ſlochd; agus eſan a thig a nìos o
mheadhon an t-ſluichd, gu'n glacar
anns an ribe e; oir tha na tuil-dhor-
ſan o'n àird air am foſgladh; agus tha
bunaite na talmhainn air an luaſg-
adh.
19 Tha an tìr gu tur air a briſeadh
sìos; tha an tìr air a ſgaoileadh gu
buileach as a chéile; tha'n tìr air a
luaſgadh gu garbh.
20 Bithidh an tìr a' gluaſad [a] thuig
agus uaith mar mhiſgear; agus ath-
arraichear i mar bhothan-tàimh; oir
luidhidh a h-aingidheachd gu trom
oirre; agus tuitidh ſi, agus cha'n éir-
ich i ni's mò.
21 Agus tarlaidh, anns an là ſin,
gu'n ſmachdaich an Tighearn na
daoin' àrda *a ta* ſhuas, agus righrean
na talmhainn air an talamh.
22 Agus cruinnichear iad le chéile,
mar a chruinnichear prioſunaich [b] ann
an ſlochd; agus druidear ſuas iad mar
ann am prioſun [c]; agus an déigh
mòrain do lathaibh fioſruichear iad.
23 An ſin bithidh a' ghealach air
a maſlachadh, agus a' ghrian air a
nàrachadh; oir rìoghaichidh Tigh-
earn nan ſluagh air beinn Shioin, a-
gus ann an Ieruſalem; agus ann am
fianuis a ſheanoirean *bithidh* a ghlòir.

CAIB. XXV.

O THIGHEARN, is tu mo Dhia;
àrdaichidh mi thu, molaidh mi
d'ainm; oir rinn thu *nithe* iongant-
ach; is tairiſneachd *agus* fìrinn *do*
chomhairlean o ſhean.
2 Oir rinn thu a' chathair na torr,
am baile daingnichte na *charn* ſgrios;
chuir thu àros nan coigreach o bhi na
bhaile; gu bràth cha togar e.
3 Air an aobhar ſin bheir an ſluagh
borb dhuit glòir; gabhaidh cathair
nan cinneach uabhaſach eagal romh-
ad.
4 Oir bha thu a'd' neart do'n
bhochd, a'd' neart do'n fheumannach
na airc; a'd' dhìdean o'n doininn,
a'd' ſgàile o'n teas; an uair *a bha* gaoth
nan uabhaſach mar dhoininn *a' séid-
eadh* ris a' bhalladh.
5 Mar an teas ann am fearann
ſeargta, bheir thuſa nuas ſarum nan
uaibhreach; *mar* an teas le ſgàil
neoil, ìſlichear geug nan uabhaſach.
6 Agus anns a' bheinn ſo ni an
Tighearn do na h-uile chinneachaibh
cuirm do nithe blaſta, cuirm do fhion
aoſda, do nithibh blaſta làn do ſmior,
do fhion aoſda air a dheadh thar-
ruing.
7 Agus ſgrioſaidh e air a' bheinn ſo
an còmhdach a chòmhdaich aghaidh
nan uile ſhluagh, agus an ſgàile bha
air a ſgaoileadh thar na h-uile chin-
nich.
8 Sluigidh e ſuas am bàs le buaidh,
agus ſiabaidh an Tighearn Iehobhah
an deur o gach aghaidh, agus maſ-
ladh a ſhluaigh bheir e air falbh o'n
talamh uile; oir labhair an Tighearn
e.
9 Agus anns an là ſin theirear,
Feuch, *is e* ſo ar Dia-ne; dh'fheith
ſinn ris, agus thearuinn e ſinn; is e
ſo an Tighearn, dh'fheith ſinn ris, ni
ſinn gairdeachas agus uaill na ſhlàinte.
10 Oir gabhaidh làmh an Tigh-
earna fois air an t-ſliabh ſo; agus
bithidh Moab air a ſhaltairt ſuidhe,
mar a ſhaltairear connlach air an òt-
rach.
11 Agus sìnidh e mach a làmhan
na mheadhon, mar a ſhìneas am fear
a ſhnàmhas a mach *a làmhan* gu
ſnàmh; agus bheir e nuas uabhar,
maille ri creich a làmh.
12 Agus daingneach àrd do bhall-
achan leagaidh e sìos, ìſlichidh e,
bheir e chum an làir, *eadhon* chum
an duſlaich.

CAIB.

a *air udal.* b *ciomaich.* c *gaintir.*

CAIB. XXVI.

ANNS an là ſin ſeinnear an dàn ſo ann an tìr Iudah; ta againn cathair làidir; ſlàinte cuiridh e ſuas mar bhallachan agus mar dhaingneach.

2 Foſglaibh-ſe na geatachan, a chum gu'n dthéid an cinneach fìrinneach a ſteach, a choimhideas an fhìrinn.

3 Gleidhidh tu eſan ann an ſìth iomlain, *aig am bheil* 'inntinn ſuidhichte *ort*, a chionn gu'n do chuir e a dhòchas annad.

4 Cuiribh-ſe bhur dòchas anns an Tighearn do ghnàth, oir anns an Tighearn Iehobhah tha neart sìorruidh.

5 Oir dh'iſlich e iadſan a bha chòmhnuidh gu h-àrd; a' chathair àrd, thug e nuas i; thug e nuas i chum an làir; thug e i *eadhon* chum an duſlaich.

6 Saltraidh a' chas oirre, caſan an fheumannaich, ceuma nam bochdan.

7 Tha ſlighe an fhìrein ro dhìreach; ni thuſa ceum an fhìrein fiorchòmhnard.

8 Seadh ann an ſlighe do bhreitheanais dh'fheith ſinn ort; tha miann *ar* n-anama air d'ainm, agus air do chuimhne.

9 Le m'anam mhiannaich mi thu ſan oidhche; ſeadh le mo ſpiorad an taobh a ſtigh dh'iarr[a] mi thu ſa' mhaduinn; oir an uair *a bhios* do bhreitheanais air an talamh, foghlumaidh luchd-àiteachaidh an t-ſaoghail fìreantachd.

10 Nochdar tròcair do'n aingidh, *gidheadh* cha'n fhoghlum e fìreantachd; ann an tìr an ionracais buinidh e gu fealltach; agus cha toir e fainear mòralachd an Tighearna.

11 A Thighearn, tha do làmh togta ſuas, *gidheadh* cha'n fhaic iad; *ach* chi iad, agus bithidh iad fuidh amhluadh air ſon eud *an t*-ſluaigh[b]; ſeadh loiſgidh teine do naimhdean ſuas iad.

12 A Thighearn, orduichidh tu ſìth dhuinne; oir eadhon ar n-uile bhearta cumhachdach dh'oibrich thuſa annainn[c].

13 O Thighearn ar Dia, bha ceannas oirnn aig tighearnaibh eile bharrachd ortſa[d]; *ach* annadſa a mhàin ni ſinn luadh air d'ainm.

14 *Tha iad* marbh, cha tig iad beo; dh'eug iad, cha'n eirich iad; uime ſin dh'fhioſraich agus mhill thu iad, agus ſgrios thu as an cuimhne gu tur.

15 Mheudaich thu an cinneach, O Thighearn; mheudaich thu an cinneach, tha thu air do ghlòrachadh; ſgaoil thu *e* a mach *eadhon gu* uile iomallaibh na talmhainn.

16 A Thighearn, ann an àmhghar dh'iarr iad thu; dhoirt iad a mach an achuinge *an uair a bha* do ſmachdachadh orra.

17 Mar a bhitheas bean thorrach, an uair a bhios àm a h-aiſead am fagus, ann an teanntachd, ag éigheach gu h-àrd na ſaothair; mar ſo bha ſinn ann ad fhianuis, O Thighearn.

18 Dh'fhàs ſinn torrach, bha ſinn ann an teanntachd, rug ſinn mar gu'm b'e gaoth; cha d'oibrich ſinn ſlàinte anns an talamh, ni mò tha luchd-àiteachaidh an t-ſaoghail air tuiteam.

19 Thig do mhairbh beo; *maille ri*[e] mo chorp marbh-ſa éirigh iad. Dùiſgibh agus ſeinnibh, ſibhſe tha chòmhnuidh anns an duſlach; oir tha do dhrùchd mar dhrùchd luibhean; agus tilgidh an talamh a mach na mairbh.

20 Thig, O mo ſhluagh, imich a ſteach do d' ſheòmraichibh, agus druid do dhorſan mu'n cuairt duit; foluich thu féin car tamuill bhig, car tiota, gus an gabh a' chorruich thairis[f].

21 Oir feuch tha an Tighearn a' teachd a mach as 'àit, a ſmachdachadh luchd-àiteachaidh na talmhainn air ſon an aingidheachd; agus leigidh an talamh ris an fhuil a ta air, agus cha chòmhduich e ni's mò a mhairbh.

CAIB. XXVII.

ANNS an là ſin ſmachdaichidh an Tighearn, le a chlaidheamh cruaidh agus mòr agus làidir, Lebhiatan an nathair dhìreach, agus Lebhiatan an nathair lùbach; agus marbhaidh

aidh

a *iarraidh.* b d'*eud* air ſon do *ſhluaigh.* c *dhuinn.* d *an leth a muigh dhiotſa.* e amhuil mar. f *dthéid a' chorruich ſeachad.*

aidh e an dràgon a ta ſan fhairge.

2 Anns an là ſin, canaibhſe do fhion-lios an fhiona dheirg:

3 Tha miſe, an Tighearn, 'ga choimhead, uiſgicheam e gach tiota; chum 's nach dochainn *aon neach* e, coimhdidh mi e a là agus a dh'oidhche.

4 Annamſa cha 'n'eil dian chorruich. Cò a chuireadh an droighionn agus an dreas a'm' aghaidh anns a' chath? rachainn trompa, loiſginn iad le chéile.

5 No deanadh e greim air mo neart; deanadh e sìth rium; sìth ni e rium.

6 Bheir e orraſan a thig o Iacob freumhachadh; briſidh Iſrael a mach, agus thig e fuidh bhlàth; agus lìonaidh e aghaidh an t-ſaoghail le toradh.

7 An do bhuail ſe e do réir bualaidh an ti a bhuail eſan? Am bheil e air a mharbhadh do réir àir na muinntir a mharbhadh leis?

8 Ann an tomhas ceart, an uair a bhriſeas e mach, ni thu tagradh ris. Choiſg e a ghaoth gharbh ann an là na gaoithe 'n ear.

9 Uime ſin, le ſo glanar aingidheachd Iacoib air falbh; agus *is e* ſo an toradh uile a thabhairt air falbh a pheacaidh; 'nuair a ni e uile chlachan na h-altaire mar chlachan aoile a ta air am pronnadh as a chéile, cha ſeas na doireachan no na dealbhan ſuas *ni's mò*.

10 Ach bithidh a' chathair dhaingnichte fàs, *agus* an t-àite-còmhnuidh air a thréigſinn, agus air 'fhàgail mar fhàſach; an ſin ionaltraidh an laogh, agus an ſin luidhidh e sìos, agus ithidh e a geugan [a].

11 'Nuair a ſheargas a meangana, briſear iad; thig mnathan agus cuiridh iad ri theine iad; oir is ſluagh gu'n tuigſe iad; uime ſin cha ghabh an ti a rinn iad truas diubh; agus cha nochd eſan a dhealbh iad caoimhneas dhoibh.

12 Agus tarlaidh, anns an là ſin, gu'n dean an Tighearn bualadh o chlais na h-Aibhne gu ſruth na h-Eiphit; agus tionailear ſibhſe ſuas, aon agus aon, O chlann Iſraeil.

13 Agus tarlaidh, anns an là ſin, gu'n ſéidear a' ghall-tromp mhòir: agus thig iadſan a bha bàſachadh ann an tìr Aſiria, agus iadſan a bha air an ſgapadh ann an tìr na h-Eiphit; agus ſleuchdaidh iad ſìos do'n Tighearn, anns an t-ſliabh naomha, ann an Ieruſalem.

CAIB. XXVIII.

IS anaoibhin do chrùn uaibhreach mhiſgearan Ephraim, agus do bhlàth ſeargach am maiſe glòrmhoir; *dhoibhſan* a ta air ceann a' ghlinn bheartaich, a ta air an leagadh ſìos le fìon.

2 Feuch, tha aig an Tighearn fear cumhachdach agus làidir, mar ſtoirm mheallain, *mar* dhoininn mhilltich, mar thuil uiſgeacha mòra a' taomadh thairis, a thilgeas ſìos chum an lair le *a* làimh.

3 Bithidh corona uaibhreach mhiſgearan Ephraim air an ſaltairt fo 'choſaibh.

4 Agus bithidh blàth ſeargach am maiſe glòrmhoir, a ta air ceann a' ghlinn bheartaich, mar am meas luath roimh an t-ſamhradh, a chì an neach a dh'amhairceas air, agus cha luaithe bhitheas e na làimh na dh'itheas e ſuas e.

5 Anns an là ſin bithidh Tighearn na ſluagh na chrùn glòire, agus na choron maiſeach do iarmad a ſhluaigh;

6 Agus na ſpiorad breitheanais dhaſan a ſhuidheas ann am breitheanas; agus na neart dhoibhſan a philleas air ais an cath chum a' gheataidh.

7 Ach chaidh iadſan fòs a thaobh le fìon, agus le dibh làidir chaidh iad air ſeacharan; chaidh an ſagart agus am fàidh a thaobh le dibh làidir, ſhluigeadh ſuas iad le fìon, chaidh iad air ſeacharan le dibh làidir; chaidh iad am mearachd ann an ſealladh, thuiſlich iad ann am breitheanas.

8 Oir tha *am* buird uile làn do ſgeith, *agus* do ſhalchar, *air chor as* nach 'eil àit ſam bith *ſaor*.

9 Cò d'an teagaiſg e eòlas, agus cò d'an ionnſuich e foghlum? dhoibhſan a chuireadh o'n chìch, *agus* a ſgaradh o'n

[a] *buinneaga.*

o'n bhrollach [a].
10 Oir tha àithne air àithne, àithne
air àithne; rann air roinn, rann air
roinn; beagan an so, beagan an sud.
11 Oir le beul manntach, agus le
teangaidh choimhich, labhraidh e ris
an t-sluagh so.
12 Ris an dubhairt e, So an fhois
leis an tabhair sibh fois dha-san a ta
sgìth, agus so an suaimhneas; gidh-
eadh cha'n éisdeadh iadsan.
13 Ach bithidh focal an Tighearna
dhoibhsan na àithn' air àithne, àithn'
air àithne; rann air roinn, rann air
roinn; beagan an so, beagan an sud;
a chum gu'n rachadh iad, agus gu'n
tuiteadh iad air an ais, agus gu'm
biodh iad air am briseadh, agus air an
ribeadh, agus air an glacadh.
14 Uime sin cluinnibh focal an
Tighearna, a luchd-fanoid, a luchd-
riaghlaidh an t-sluaigh so a *ta* ann an
Ierusalem.
15 A chionn gu'n dubhairt sibh,
Dhaingnich sinn coimh-cheangal ris a'
bhàs, agus ris an uaigh rinn sinn cord-
adh; an uair a shiùbhleas a' phlàigh
thairis mar thuil, cha ruig i sinne;
oir ghabh sinn a'bhreug mar ar dìdein,
agus fuidh cheilg dh'fholaich sinn sinn
féin.
16 Air an aobhar sin mar so deir
an Tighearn Iehobhah, Feuch suidh-
ichidh mise mar stéidh ann an Sion
clach, clach dhearbhta, clach-chinn
na h-oisinn; sàr bhunait; esan a
chreideas, cha chuirear gu h-amh-
luadh e [b].
17 Agus tomhaisidh mise mach
breitheanas leis an riaghailt, agus
ceartas leis an t-sreing-thomhais; a-
gus sguabaidh a' chlach-mheallain
air falbh an dìdein-bhréige, agus
còmhduichidh na h-uisgeachan an
t-àit-folaich.
18 Agus brisear 'ur coimh-cheangal
ris a' bhàs, agus cha seas 'ur cordadh
ris an uaigh; 'nuair a shiùbhlas a'
phlàigh thairis mar thuil, an sin bith-
idh sibhse air bhur saltairt sìos
leatha.
19 O'n àm an siubhail i trìd, ni i
greim oirbh; oir maduinn an déigh
maidne siubhlaidh si trìd, a latha a-
gus a dh'oidhche; agus dùisgidh
eadhon an t-iomradh a mhàin uamh-
unn.
20 Oir tha an leaba tuille 's goirid
gu *neach* e féin a shìneadh *oirre*; a-
gus tha 'm brat tuille 's ai-leathan
gu *neach* e féin a phasgadh *ann*.
21 Oir éiridh an Tighearn suas,
mar ann an sliabh Pherasim, bithidh
corruich air mar ann an gleann Ghib-
eoin; a chum as gu'n coimhlion e
'obair féin, 'obair neo-ghnathach; a-
gus gu'n dean e a ghnìomh féin, a
ghnìomh coimheach.
22 Agus a nis, na bithibh ri fan-
oid, air eagal gu'n deanar bhur cui-
bhrichean làidir [c]; oir chuala mi o
Iehobhah Tighearn nan sluagh sgrios [d],
eadhon air a shonruchadh air an tìr
uile.
23 Thugaibhs' an aire, agus cluinn-
ibh mo ghuth; éisdibh, agus cluinn-
ibh mo bhriathra.
24 Am bheil an treabhaiche ri
h-ar, rè an là, chum cur a dhean-
amh? Am bheil e a' fosgladh agus
a' briseadh fòidean 'fhearainn?
25 An uair a ni e 'aghaidh còmhn-
ard, nach sgaoil e an sin a' mheanbh-
pheasair, agus nach sgap e an cumin;
agus nach cuir e an cruithneachd anns
an àit a's fearr, agus an t-eorna anns
an ionad shuidhichte, agus an seagal
na chrìch féin?
26 Oir bithidh a Dhia ag ionnsuch-
adh eòlais dha, *agus* 'ga theagasg.
27 Oir cha 'n'eil a' mheanbh-
pheasair air a bualadh le inneal-
bualaidh; ni mò bheirear air roth
feuna tionndadh air a' chumin; ach
tha a' mheanbh-pheasair air a bual-
adh le slait [e], agus an cumin le
luirg [f];
28 Ach tha *siol air son* arain air a
bhruthadh: Do bhrìgh nach bi e 'ga
shìr-bhualadh, no '*ga* bhriseadh le
roth 'fheuna, no 'ga phronnadh le
'eachaibh [g].
29 Tha so fòs a' teachd o Thigh-
earn nan sluagh; tha esan iongantach
ann

a *uchd.* b *cha bhi e na chabhaig, na bhreislich* c *gu'n teannaichear bhur ceanglaichean.* d *crìoch iomlan.* e *bata.* f *buailtean.* g *fiaclaibh a rothana.*

ann an comhairle, oirdheirc ann an
gniomh.

CAIB. XXIX.

MO thruaighe Ariel, Ariel, am
baile anns an do chòmhnuich
Daibhidh; cuiribh bliadhna ri
bliadhna, marbhadh iad ìobairtean [a].
2 Gidheadh teannaichidh miſe A-
riel, agus bithidh caoidh agus bròn
ann; agus bithidh e dhomhſa mar A-
riel [b].
3 Agus campaichidh mi a'd' agh-
aidh mu'n cuairt; agus teannaichidh
mi thu le torr; agus togaidh mi
daingnichean a'd' aghaidh.
4 Agus bheirear ſìos thu, *agus*
labhraidh tu as an talamh, agus bith-
idh do chainnt ìoſal as an duſlach;
agus thig do ghuth a mach as an ta-
lamh, mar fhioſaiche, agus ni do
chainnt borbhanaich as an duſlach.
5 Agus mar an dus mìn bithidh
mòr bhuidheann do choigreach, agus
bithidh mòr bhuidheann nan uabhaſ-
ach [c] mar am moll luaineach; agus
tarlaidh e ann an tiota, gu h-obann.
6 Smachdaichear thu le Tighearn
nan ſluagh, le tairneanaich, agus le
crith-thalmhainn, agus le treun ghuth,
le ſtoirm agus doininn agus laſair
theine chaithtich.
7 Agus amhuil bruadar, aiſling na
h-oidhche, bithidh mòr ſhluagh nan
uile chinneach, eadhon na h-uile a ta
cogadh rithe féin agus *ri* a daingn-
each, agus a ta 'ga teannachadh.
8 Agus amhuil *duine* ocrach a chi
aiſling, agus feuch ta e 'g itheadh,
ach air dùſgadh dha, tha 'anam cìoc-
rach; agus amhuil *duine* tartmhor a
chi aiſling, agus feuch tha e 'g òl,
ach air dùſgadh dha, feuch *tha e* fann
agus 'anam a' miannachadh; mar ſin
tarlaidh do mhòr chuideachd nan uile
chinneach a ta a' cogadh an aghaidh
ſléibh Shioin.
9 Stadaibh, agus gabhaibh iong-
antas; ſeallaibh mu'n cuairt le h-iogh-
nadh, agus amhaircibh; tha iad air
mhiſg, ach cha'n ann le fìon; tha iad
a' call nan cas, ach cha'n ann le dibh
làidir.
10 Oir dhoirt an Tighearn oirbh
ſpiorad ſuaine; agus dhruid e ſuas 'ur
sùilean; air na fàidhean agus 'ur
luchd-riaghlaidh, agus air an luchd-
ſeallaidh chuir e còmhdach [d].
11 Agus tha an taiſbean uile
dhuibhſe, mar bhriathra leabhair air
a ghlaſadh ſuas [e], a bheir *iad* do neach
aig am bheil fòghlum, ag ràdh, Leugh
ſo, guidheamaid ort; agus their eſan,
Cha'n urradh mi, oir tha e glaiſte
ſuas [f].
12 Agus bheirear an leabhar do
neach aig nach 'eil fòghlum, ag ràdh,
Leugh ſo, guidheam ort; agus their
eſan, Cha 'n'eil fòghlum agam.
13 Uime ſin thubhairt an Tighearn,
Do bhrìgh gu bheil an ſluagh ſo a'
teachd dlù *dhomhſa* le'm beul, agus
a' toirt onoir dhomh le'm bilibh, ach
nan cridhe gu'n do theich iad fada
uam; agus gu'm bheil an eagal romh-
amſa air a theagaſg le àithntibh
dhaoine;
14 Air an aobhar ſin, feuch, théid
mis' air m'aghaidh a dheanamh iong-
antais am meaſg an t-ſluaigh ſo, iong-
antas agus iongantas; ionnas gu'n
dthéid gliocas an daoine glice am
mugha, agus tuigſe an daoine tuigſ-
each as an t-ſealladh.
15 Is truagh dhoibhſan a ta 'g iar-
raidh an comhairle fholachadh gu
domhainn o'n Tighearn; aig am bheil
an gnìomhara anns an dorcha, agus
a ta 'g ràdh, Cò a ta 'gar faicinn?
Cò aig am bheil fios oirnn?
16 Gu cinnteach meaſar bhur ais-
innleachda [g] mar chriadh a' chriadh-
adoir: an abair an obair mu'n oib-
riche, Cha d'rinn e mi? agus an ab-
air an ni a dhealbhadh mu'n neach
a dhealbh e, Cha robh tuigſe aige?
17 Nach tamull ro bheag fòs, gus
àn deanar Lebanon na fhearann tor-
rach, agus gus am meaſar am fearann
torrach mar fhrìdhe [h]?
18 Agus anns an là ſin cluinnidh
na bodhair briathran an leabhair; a-

gus

a *thigeadh na laithean-féille mu'n cuairt.* b *mar leòmhan mòr, mar an altair mhòr.* c *athach.* d *cumhdach.* e *ſheul-achadh.* f *ſeulaichte.* g *tilgeadh nithe bun os ceann.* h *fhàſ-ach, lòn.*

gus as an dubhar agus as an dorch-
adas gheibh sùilean nan dall an léir-
ſin.
19 Meudaichidh fòs na daoine
sèimhe an aoibhneas anns an Tigh-
earn; agus ni na bochdan am meaſg
dhaoine gairdeachas ann an Ti naomh
Iſraeil.
20 Oir dh'fhàilnich an t-uabhaſ-
ach, agus thàinig crìoch air an fhear-
fhochaid [a]; agus ghearradh as iadſan
uile a bha furachair [b] chum aingidh-
eachd;
21 A ni duine na pheacach air ſon
focail [c]; a ta leagadh ribe air a ſhon-
ſan a tha tagradh anns a' gheata; a-
gus a tha tionndadh an ionracain a
lethtaobh air ſon ni nach fiù.
22 Air an aobhar ſin mar ſo deir
an Tighearn, eſan a ſhaor Abraham,
mu thimchioll tighe Iacoib, Cha nàr-
aichear Iacob, agus cha bhi 'aghaidh
niſe ſo amhluadh [d].
23 Ach an uair a chi e a chlann,
obair mo làmh-ſa, na mheadhon,
naomhaichidh iad m'ainm, agus
naomhaichidh iad Ti naomh Iacoib,
agus bithidh eagal orra roimh Dhia
Iſraeil.
24 Tuigidh iadſan fòs, a chaidh
mearachd ann an ſpiorad, fior eolas;
agus fòghlumaidh iadſan a bha ri
borbhanaich teagaſg.

CAIB. XXX.

IS truagh do'n chloinn cheannairc-
ich, deir an Tighearn, a ta dealbh
chomhairlean, ach cha'n ann uamſa;
a ta còmhdachadh le brat-folaich [e],
ach cha'n ann le mo ſpiorad-ſa; a
chum gu'n cuir iad peacadh ri peac-
adh.
2 A ta 'g imtheachd gu dol sìos
do'n Eiphit, ach nach d'fhioſraich
dhiomſa [f]; chum iad féin a neartach-
adh le neart Pharaoih, agus a
dheanamh buin a ſgàile na h-Eiphit.
3 Ach bithidh neart Pharaoih
dhuibh na nàire; agus 'ur bun a
ſgàile na h-Eiphit na mhaſladh.
4 Oir bha a cheannardan aig Soan,
agus thàinig a theachdairean gu Ha-
nes.
5 Ghabh iad uile nàire do ſhluagh
o nach d'fhuair iad tairbhe; o nach
d'fhuair iad cuideachadh no tairbhe;
ach *a bha* nan nàire agus nam maſ-
ladh.
6 Eallach ainmhidhean na h-àirde
deas; gu tìr airc agus éigin, as *an
dthig* an leomhan òg agus an ſeann
leomhan, an nathair nimhe, agus an
nathair theinteach itealach; giùlain-
idh iad an ſaibhreas air gualainn nan
aſal òga, agus an ionmhas air croit
nan càmhal; dh'ionnſuidh ſluaigh
nach tabhair buannachd *dhoibh*.
7 Oir is dìomhain agus gun tairbhe
còmhnadh nan Eiphiteach; uime ſin
thubhairt mi rithe ſo, Se an neart
fantuinn nan tàmh [g].
8 Imich a nis, ſcrìobh e fa'n comh-
air air clàr, agus comharaich e air
leabhar; chum gu'm bi e air ſon nan
aimſirean a thig, air ſon fianuis gu
sìorruidh;
9 Gur ſluagh ceannairceach ſo,
clann bhreugach, clann leis nach àill
éiſdeachd a thabhairt do lagh an
Tighearna:
10 A ta 'g ràdh ris na fir-ſheall-
aidh, Na faicibh; agus ris na fàidh-
ean, Na labhraibh nithe ceart ruinn
ann am fàiſneachd; labhraibh ruinn
nithe mìne; deanaibh fàiſneachd
cheilge:
11 Claonaibh air falbh o'n t-ſlighe;
rachaibh a leth-taobh o'n rathad
dhìreach; cuiribh air falbh uainn Ti
naomh Iſraeil.
12 Air an aobhar ſin, mar ſo deir
Ti naomh Iſraeil, A chionn gu bheil
ſibh a' deanamh tàire air an fhocal ſo,
agus ag earbſadh a claonadh agus a
ceannairc, agus a' leigeal bhur taice
ris;
13 Uime ſin bithidh an t-olc ſo
dhuibh mar bhriſeadh [h] ullamh gu
tuiteam, *mar* aomadh ann am bal-
ladh àrd, a thuiteas gu làr gu h-obann,
ann an tiota.
14 Agus briſidh ſe e, mar bhriſ-
eadh

a *fhear-ſgeige.* b *a' feitheamh, ri ſaire.* c *a tha toirt air an duine bhochd tuiſleachadh na chainnt.* d *bàn.* Eabh. e *dortadh tabhartais-dibhe.* f *o mo bheul.* Eabh. g *ſuidhe sàmhach.* h *ſbeum.*

eadh ſoithich a' chriadhadair, a bhriſ-
ear na bhloighdibh; cha chaomhain
e, air chor as nach faighear, ann a
bhriſeadh, ſgealb a thogas teine o'n
teinntein [a], no a bheir uiſge o'n tob-
ar.

15 Oir mar ſo deir an Tighearn
Iehobhah, Ti naomh Iſraeil, ann am
pilleadh, agus ann an ſamhchair,
tearnar ſibh; ann an ſuaimhneas a-
gus ann an earbſadh bithidh 'ur neart;
ach cha b'àill leibhſe.

16 Ach thubhairt ſibh, Ni h-eadh,
ach air eachaibh teichidh ſinn; air
an aobhar ſin teichidh ſibh; agus air
ainmhidhibh luatha marcaichidh ſinn;
uime ſin bithidh iadſan luath a lean-
as air 'ur tòir.

17 *Teichidh* aon mhìle roimh ach-
mhaſan [b] aona; roimh achmhaſan
chùignear teichidh ſibh; gus am fàg-
ar ſibh mar chrann lom air mullach
ſléibh, agus mar bhrataich air cnoc.

18 Agus air an aobhar ſo feithidh
an Tighearn, chum gu'n nochd e
deadh-ghean duibh; agus air an
aobhar ſo àrduichear e, chum gu'n
nochd e tròcair dhuibh; oir is Dia
ceart-bhreitheach an Tighearn; is
beannuicht' iadſan uile a ta feitheamh
ris-ſan.

19 Oir gabhaidh ſluagh còmhnuidh
ann an Sion, ann an Ieruſalem; cha
ghuil thu ni's mò; ni e mòr thròcair
ort, ri guth do ghlaoidh; co luath
ſa chluinneas e, bheir e freagradh
dhuit.

20 Agus ged bheir an Tighearn
dhuibh aran airce, agus uiſge àmh-
ghair, gidheadh cha bhi do luchd-
teagaiſg air am fògradh fad as; ach
bithidh do ſhùilean a' faicinn do
luchd-teagaiſg.

21 Agus cluinnidh do chluaſan foc-
al o d' chùlaobh, ag ràdh, So an
t-ſlighe, gluaiſibh innte, 'nuair a
thionndaidheas ſibh chum na làimhe
deiſe, no chum na làimhe clìthe.

22 Agus truaillidh ſibh truſcan 'ur
dealbhan airgid, agus ſgeadachadh
do dhealbhan òir; tilgidh tu uait
iad mar eudach truaillte; their thu
ris, Teich uam.

23 An ſin bheir e uiſge air ſon do
ſhìl, leis an cuir thu d'fhearann; a-
gus aran do thoradh na talmhainn,
agus bithidh e reamhar agus pailt;
anns an là ſin, ionaltraidh do ſpréidh
ann an àilean farſuing;

24 Agus ithidh na daimh, agus na
h-aſail òga a threabhas am fearann,
innlinn air a deagh-ghlanadh, air a
greadhadh leis a' ghuit agus leis an
t-ſluaſaid.

25 Agus air gach beinn mhòir, a-
gus air gach cnoc àrd, bithidh caoch-
ain agus ſruthan uiſge; ann an là an
àir mhòir, an uair a thuiteas na baid-
ealan [c].

26 Agus bithidh ſolus na gealaich
mar ſholus na gréine, agus bithidh
ſolus na gréine a ſheachd uiread, mar
ſholus ſheachd laithean; ſan là anns
an ceangail an Tighearn ſuas briſeadh
a ſhluaigh, agus anns an lèighis e lot
a bhuille.

27 Feuch, tha ainm an Tighearna
a' teachd o chéin, a' loſgadh *le*
'fheirg, agus an eallach [d] trom; tha
a bhile air an lìonadh le corruich,
agus a theanga mar theine caitht-
each.

28 Agus bithidh 'anail mar ſhruth
dian a' ruith thairis, a' ruigheachd
gu meadhon a' mhuineil; a dh'fhaſg-
nadh nan cinneach le faſgan an dìomh-
anais; agus *bithidh* ſrian ann an giall-
aibh an t-ſluaigh, 'gan tarruing air
ſeacharan.

29 Bithidh ceòl agaibh, mar anns
an oidhche ſan coimhdear féill naomh;
agus gairdeachas cridhe, amhuil an
uair a dh'imicheas neach le *ceòl* pìoba,
chum dol gu ſliabh an Tighearna, gu
carraig Iſraeil.

30 Agus bheir an Tighearn fa'near
gu'n cluinnear a ghuth glòrmhor, a-
gus gu'm faicear leagadh a nuas a
ghairdein, le corruich ghairg, agus
le laſair teine chaithtich; *le* ſgapadh,
agus doininn, agus clachaibh meal-
lain.

31 Oir le guth an Tighearna buail-
ear sìos an t-Aſirianach, *a* bha bual-
adh le ſlait.

32 Agus *anns* gach àit an ſiubhail
an

a *teallach.* b *bhagradh.* c *tùir.* d *uallach.*

an t-ſlat ſhònruichte, a leagas an
Tighearn air, bithidh tiompan agus
clàrſaichean; agus le cruaidh chòmh-
raig cogaidh e leatha.
33 Oir dh'ullaicheadh Tophet o
ſhean: eadhon air ſon an righ tha ſin
air 'ullachadh; rinn e domhainn *e*,
rinn e farſuing *e*; cruach theine agus
mòran connaidh [a]; tha anail an Tigh-
earna, mar ſhruth pronnaiſc 'ga fhad-
adh [b].

CAIB. XXXI.

IS truagh dhoibhſan a tha dol sìos
do'n Eiphit air ſon còmhnaidh;
a ta 'g earbſadh a h-eachaibh, agus
ag cur an dòchais ann an carbadaibh,
a chionn gu *bheil iad* lìonmhor; agus
ann am marcaichibh a chionn gu
bheil iad ro làidir; ach cha feall iad
air Ti naomha Iſraeil, agus cha'n iarr
iad an Tighearn.
2 Ach tha Eſan glic, agus bheir e
olc *orra*, agus cha chuir e 'fhocal air
cùl; ach éiridh e an aghaidh tighe
nan aingidh, agus an aghaidh cobh-
air na muinntir a tha deanamh eu-
ceirt.
3 Oir is daoine na h-Eiphitich, a-
gus cha Dia iad; agus is feoil an
eich, agus cha ſpiorad: an uair a
ſhìneas an Tighearn a mach a làmh,
tuitidh am fear-cuideachaidh, agus
leagar sìos am fear a bha air a chòmhn-
adh leis; agus millear iad gu leir le
chéile.
4 Oir mar ſo thubhairt an Tigh-
earn rium; mar a raoiceas [c] an
leòmhan, eadhon an leòmhan òg, os
ceann a chobhartaich, 'nuair a chruinn-
ichear buidheann bhuachaillean na
aghaidh; cha ghabh e geilt roimh an
guth, agus cha chaill e a mhiſneach
air ſon an co-ghàir [d]; is amhluidh thig
Tighearna nan ſluagh a nuas gu cog-
adh air ſon ſléibh Shioin, agus air ſon
a chnuic.
5 Mar eunlaith ag itealaich *os
ceann an àlaich*, mar ſin dìonaidh
Tighearn nan ſluagh Ierusalem; le
dìonadh ſaoraidh *ſe i; agus* le leum
thairis tearnaidh *ſe i*.
6 Pillibh d'a ionnſuidh-ſan o'n do
chlaon clann Iſraeil le ſeacharan fada.
7 Oir anns an là ſin tilgidh gach
aon air falbh uaith 'iodholan airgid,
agus 'iodholan òir, a rinn 'ur làmhan
féin dhuibh *chum* peacaidh.
8 Agus tuitidh an t-Aſirianach,
cha'n ann le claidheamh gaiſgich;
feadh, cha'n e claidheamh duine a
ſhluigeas ſuas e; ach teichidh e o'n
chlaidheamh, agus claoidhear a dhaoin'
òga.
9 Agus tre eagal théid e null
dh'ionnſuidh a dhaingnich, agus gabh-
aidh a chinn-fheadhna geilt [e] roimh'n
bhrataich: deir an Tighearn, aig am
bheil a theine ann an Sion, agus
'àmhuinn [f] ann an Ieruſalem.

CAIB. XXXII.

FEUCH rìoghaichidh righ ann am
fìreantachd, agus riaghlaidh
uachdarain ann am breitheanas.
2 Agus bithidh duine mar ionad-
faſgaidh o'n ghaoith, agus mar dhid-
ein o'n doininn; mar ſhruthan uiſge
ann an àit tioram, mar ſgàile craige
mòire ann an tìr airſnealaich.
3 Agus cha bhi ceo air sùilibh na
muinntir a chi [g], agus bheir cluaſa na
muinntir a chluinneas éiſdeachd.
4 Agus tuigidh cridhe an duine
bhrais eòlas; agus bithidh teanga an
duine mhanntaich ealamh chum labh-
airt gu ſoilleir.
5 Cha ghoirear an t-ùmaidh fial
ni's mò, agus cha'n abrar gu bheil
am miodhoir daonnachdail.
6 Oir labhraidh an t-ùmaidh do
ghnàth amaideachd, agus dealbhaidh
a chridhe aingidheachd; a chur an
gnìomh ceilge, agus a labhairt foill
an aghaidh an Tighearna, a dhean-
amh anma an ocraich falamh, agus
a thabhairt na dibhe o'n duine ìot-
mhor.
7 Tha inneala an duine mhiodhoir
olc, tha e a' dealbh innleachdan
aimhleaſach, a' ribeadh nam bochd
le briathraibh breugach, ſa cheart
àm an labhair an t-ainniſeach gu fì-
rinneach.
8 Ach dealbhaidh an duine fial
nithe fial; agus le nithibh fiala daing-
nichear

a *fiodha*. b *laſadh*. c *bhùireas*. d *tormain*. e *an ruaig*.
f *fhuirnis*. g *cha bhi iad crith-ſhuileach*.

nichear e.

9 Eiribh, a mnathan a ta gu fuaimhneach, cluinnibh mo ghuth; a nigheana gun umhaill, éisdibh ri mo chainnt [a].

10 Iomadh latha agus bliadhna bithidh sibh gun fhois, O mhnathan gun umhaill; oir dh'fhàilnich am fion-fhogharadh, cha dthig tional *an toraidh*.

11 Crithnichibh, sibhse ta fuaimhneach; bithibh gun fhois, sibhse ta gun umhaill; cuiribh dhibh, rùisgibh sibh féin; agus crioslaichibh 'ur leasraidh *le eudach-saic*.

12 Ni iad caoidh air son nan cioch, air son nam machraichean taitneach, air son na fionain torraich.

13 Thig an droighionn agus an dreas a nìos thar fearann mo shluaigh; seadh thar na h-uile thighibh aobhach *anns* a' bhaile luaghaireach.

14 Oir tha an t-àros air a thréigsinn, tha buidheann lìonmhor na cathrach air am fàgail: bithidh an daingneach agus an tùr nan uamhaibh gu bràth, nan aoibhneas do na h-asalaibh fiadhaich, nan ionaltradh air son nan treudan;

15 Gus an dòirtear a nuas oirnn an Spiorad o'n àird, agus gu'm bi am fàsach na mhachair thorraich, agus gu'm measar a' mhachair thorrach na frìdh.

16 An sin ni breitheanas tàmh anns an fhàsach, agus anns a' mhachair thorraich gabhaidh fìreantachd còmhnuidh.

17 Agus is sìth obair na fìreantachd; agus is toradh do'n fhìreantachd suaimhneas agus tèaruinteachd gu sìorruidh.

18 Agus gabhaidh mo shluagh còmhnuidh ann am fardaich fhoistinich, agus ann an ionadaibh-còmhnuidh tèaruinte, agus ann an àiteachaibh tàimh suaimhneach,

19 An uair a thig a' chlach-mheallain a nuas air an doire, agus nithear a' chathair co ìosal ris a' chòmhnard.

20 Is beannuichte sibhse a ta cur sìl ri taobh gach uisge, a ta cur a mach coise an daimh agus na h-asail.

CAIB. XXXIII.

IS anaoibhin duitse a chreachadair, nach robh air do chreachadh thu fein; agus fhir na foill, ris nach do bhuin iad gu fealltach: an uair a sguireas tu do chreachadh, creachar thu; agus an uair a bheir thu thairis [b] a bhi ri foill, buinidh iad gu fealltach riut.

2 O Thighearn dean tròcair oirnn; ortsa tha sinn a' feitheamh; bi thus' a'd' ghairdean dhoibh gach maduinn; ar slàinte fòs ri h-àm na h-airce [c].

3 O ghuth a' bhuaireis theich na slòigh; an uair a thog thu fuas thu féin, sgapadh na cinnich.

4 Agus cruinnichear 'ur creach mar a chruinnicheas am burrus: mar shiubhal nan locust, thig e orra.

5 Tha an Tighearn air 'àrdachadh; seadh, tha a chòmhnuidh gu h-àrd; lìon e Sion le breitheanas agus ceartas.

6 Agus bithidh slàinte làidir, gliocas, agus eòlas, nan daingneachadh do d' linn; tha eagal an Tighearn na ionmhas da.

7 Feuch, togaidh na daoine cumhachdach gaoir an taobh a muigh; guilidh teachdairean na sìth gu goirt.

8 Tha na ròide mòra fàsail, dh'fhalbh am fear-turuis; bhris e an coimhcheangal, chuir e cùl ris na caithrichibh, cha 'n'eil meas aig air duine.

9 Tha an talamh ri bròn, *agus* a' fannachadh; tha Lebanon fo nàire, agus air a ghearradh sìos; tha Saron air fàs mar fhàsach; agus Basan agus Carmel air crathadh dhiubh *an toraidh*.

10 A nis éiridh mi, deir an Tighearn; a nis àrdaichear mi; a nis togaidh mi suas mi féin.

11 Bithidh sibh torrach air moll; beiridh sibh asbhuain; ni bhur anail, mar theine, bhur caitheadh.

12 Agus bithidh na slòigh *mar* aol air a losgadh; mar dhroighionn air

a *ghlòr*. b *leigeas tu dhìot, sguireas tu.* c *ri bruchd cruaidhchais.*

air a ghearradh sìos, loiſgear iad anns
an teine.

13 Cluinnibh, O ſibhſe ta fad as,
an ni a rinn mi; agus ſibhſe ta dlù,
aidichibh mo chumhachd.

14 Tha na peacaich ann an Sion
fuidh eagal; ghlac uabhunn na cealg-
airean; cò nar meaſg a ghabhas
còmhnuidh maille ri teine millteach?
cò nar meaſg a ghabhas còmhnuidh
maille ri laſraichibh sìorruidh?

15 Eſan a ghluaiſeas gu h-ionraic,
agus a labhras gu ceart; a ghabhas
gràin do bhuannachd na h-ainneirt,
a chrathas a làmh o bhi glacadh
duaiſe *na h-eucorach*; a dhruideas a
chluas o éiſdeachd ri *ſgeul* fola, agus
a dhùineas a ſhùilean o amharc air
olc;

16 Bithidh a chòmhnuidh-ſan anns
na h-ionadaibh àrda, bithidh daing-
nichean nan creag nan dìdean dha;
bheirear aran dha, *mairidh* uiſge gu
cinnteach aige.

17 Seallaidh do ſhùilean air an
Righ na mhaiſe; chi iad an tìr cian
fad as.

18 Smuainichidh do chridhe air
uabhunn. C'àit am bheil an ſcrìobh-
uiche? C'àit am bheil am fear-
tomhais? C'àit am bheil eſan a
ch'àireamh na daingnichean?

19 Cha'n fhaic thu ſluagh borb;
luchd na cainnte domhainn, nach
b'urrainn thu chluinntinn; luchd na
teanga manntaich, nach b'urrainn thu
thuigſinn.

20 Amhairc air Sion, cathair ar
n-àrd fhéillean; chi do ſhùilean Ie-
ruſalem na còmhnuidh fhoiſtinich, na
pàilliun nach atharraichear; cha
ghluaiſear[a] aon d'a chuaillibh gu
bràth, ni mò bhuiſear aon d'a chord-
aibh.

21 Ach ann an ſin *bithidh* an
Tighearn glòrmhor[b] dhuinne na ion-
ad aibhnichean agus ſhruthan leath-
an; cha ſiubhail ſoitheach ràmhach
ann; ni mò théid long ghreadhnach
troimhe.

22 Oir *is e* an Tighearn ar breith-
eamh; *is e* an Tighearn ar fear-tabh-
airt lagha; *is e* an Tighearn ar
Righ; tearnaidh e ſinn.

23 Tha do chuird[c] fuaſgailte;
cha b'urrainn iad an crann a ro-
dhaingneachadh; cha b'urrainn iad
an ſeòl a ſgaoileadh; an ſin tha creach
phailt air a roinn; ghlac am bacach
a' chobhartach.

24 Agus cha'n abair am fear-àit-
eachaidh, Tha mi tinn: gheibh an
ſluagh, a ta chòmhnuidh an ſin,
maitheanas nan aingidheachd.

CAIB. XXXIV.

DLUTHAICHIBH, a chinneacha,
chum éiſdeachd; agus thug-
aibh aire, O fhineacha: éiſdeadh an
talamh, agus a làn; an ſaoghal, a-
gus na h-uile a ta teachd a mach
uaith.

2 Oir tha fearg air an Tighearn
an aghaidh nan cinneach uile; agus
corruich an aghaidh an ſlògh uile;
chuir e as doibh, thug e thairis iad
chum caſgairt.

3 Agus tilgear am mairbh a mach;
agus o'n cairbheannaibh éiridh breun
bholadh; agus leaghaidh na ſléibht-
ean sìos le'm fuil.

4 Agus crìonaidh feachd[d] nèimhe
gu léir air falbh, agus fillear na
nèamhа air a chéile mar dhuille
leabhair; agus tuitidh am feachd uile
sìos, mar thuiteas an duilleag ſheargta
o'n fhionain, agus mar am meas làn-
abuich o'n chrann-fhige.

5 Oir tha mo chlaidheamh air a
chur air mhiſg[e] anns na nèamhaibh;
feuch, tuitidh e air Idumea, agus air
an t-ſluagh a mhallaich miſe, chum
breitheanais.

6 Tha claidheamh an Tighearna
sàſuichte le fuil; tha e biadhta le
ſaill, le fuil uan agus ghabhar, le
ſaill airnean reitheachan; oir tha
ìobairt aig an Tighearn ann am Boſ-
ra, agus àr mòr ann an tìr Idumea.

7 Agus thig na h-aon-adharcaich
a nuas maille riu, agus na daimh
maille ris na tairbh; agus cuirear an
tìr air ſnàmh le fuil, agus nithear an
duſlach reamhar le ſaill.

8 Oir

a *ghlidichear.*
b *Ach* bithidh *ainm glòrmhor an Tighearn.*
c *bhuill, d'acfuinn.*
d *ſluagh.*
e *air a thumadh, air 'uiſg-*
eachadh.

8 Oir is e là dioghaltais an Tigh-
earna *a th'ann*, agus bliadhna an ath-
dhìolaidh air son connfachaidh Shi-
oin.
9 Agus iompaichear a fruthan gu
pìc, agus a duflach gu pronnafc; a-
gus fàfaidh a fearann uile na phìc
loifgich.
10 Cha dthéid a chur as dh'oidhch-
e no a là; gu siorruidh théid a
deatach fuas; o àl gu h-àl bithidh fi
fàs; gu linn nan linn cha dthéid aon
neach troimpe.
11 Ach fealbhaichidh am pelican
agus a' ghràineag [a] i; agus gabhaidh
a' chailleach-oidhche agus am fith-
each còmhnuidh innte; agus sìnidh
e thairis oirre freang an léir-fgrios,
agus clachan na faoineachd [b].
12 Gairmidh iad a h-uaiflean do'n
rìoghachd, ach cha *bhi iad* ann; a-
gus thig a ceannardan uile gu neo-
ni.
13 Agus fàfaidh an droigheann
fuas na lùchairtibh; an eanntagach
agus an dris na daingnichibh; agus
bithidh fi na fàrdaich aig dragonaibh,
na h-àros aig nigheanaibh na comh-
achaig.
14 Agus coinnichidh fiadh-bheath-
aichean [c] an fhàfaich agus fiadh-
bheathaichean na machrach a chéile;
agus glaodhaidh am fiadh-dhuine r'a
chompanach; an fin fòs gabhaidh an
fcreuchag-oidhche fois, agus gheibh i
dh'i féin àite-tàimh.
15 An fin ni a' chailleach-oidhche
mhòr a nead, agus beiridh fi a h-uigh-
ean; agus ni i gur, agus cruinnichidh
fi *a h-àlach* fo a fgàile; an fin fòs
cruinnichear na faing, gach aon le a
chéile féin.
16 Fiofruichibh do leabhar an
Tighearn, agus leughaibh; cha bhi
aon dhiubh fo air chall, cha bhi aon
as eugais a céile; oir is e mo bheul-
fa thug an àithne, agus is e a fpiorad
a thionail iad.
17 Agus thilg e an crannchur air
an fon, agus roinn a làmh dhoibh e
le freing; fealbhaichidh iad e gu
sìorruidh; o àl gu h-àl gabhaidh iad
còmhnuidh ann.

CAIB. XXXV.

NI am fàfach agus an talamh tart-
mhor gàirdeachas air an fon;
agus bithidh an dithreabh ait, agus
thig e fo bhlàth mar an ròs.
2 Brifidh e mach gu h-ùrar, feadh
ni e gairdeachas gu subhach agus gu
ceòlmhor; bheirear glòir Lebanoin
dha, maife Charmeil agus Sharoin;
chi iad fin glòir an Tighearna, *agus*
maife ar Dé-ne.
3 Neartuichibh-fe na làmhan laga,
agus daingnichibh na glùinean an-
fhann.
4 Abraibh riu-fan *a ta* lag-chridh-
each, Bithibh làidir, na biodh eagal
oirbh; feuch, thig bhur Dia le diogh-
altas, *'fe* Dia le ath-dhìoladh; thig
e féin, agus faoraidh e fibh.
5 An fin fofgailear sùilean nan dall,
agus bithidh cluafan nam bodhar air
am fofgladh.
6 An fin leumaidh am bacach mar
fhiadh, agus feinnidh teanga a' bhalbh-
ain; oir anns an fhàfach brifidh uifg-
eachan a mach, agus fruthan anns an
dithreabh.
7 Agus fàfaidh am fearann tioram
na linne, agus am fearann tartmhor
na thobraichibh uifge: ann an àite-
còmhnuidh nan dragon, agus *nan*
leaba, bithidh feur, leis a' chuile a-
gus an luachair.
8 Agus bithidh rathad mòr an fin,
agus flighe; agus goirear flighe na
naomhachd dheth; cha fiubhail neach
neo-ghlan d'a thrìd; ach *bithidh* e
air an fon-fa; cha dthéid am fear-
turuis no na daoine baoghalta air feach-
aran *ann* [d].
9 Cha bhi leòmhan an fin, ni mò
thig fiadh-bheathach millteach fuas
ann; cha'n fhaighear an fin e; ach
fiubhlaidh a' mhuinntir fhaorta *ann*.
10 Agus pillidh faor-dhaoine an
Tighearna, agus thig iad gu Sion le
caithream, agus aoibhneas sìorruidh
air an cinn; gheibh iad gairdeachas
agus

a *an fcarbh*. b *fàfalachd*. c *eoin fhiadhaich*. d *orb bithidh efan leo, ag imeachd air an t-flighe; ionnas nach dthéid na daoine baoghalta* féin *air feacharan*.

agus aoibhneas, agus teichidh bròn agus osnaich air falbh.

CAIB. XXXVI.

AGUS tharladh anns a' cheathramh bliadhna deug do righ Heseciah, gu'n d'thàinig Senacherib righ Asiria nìos an aghaidh uile bhailte daingnichte Iudah, agus ghlac e iad.

2 Agus chuir righ Asiria Rabsaceh o Lachis do Ierusalem, dh'ionnsuidh righ Hesecîah, le armailt mhòir; agus sheas e aig sruth-chlàis na linne uachdaraich, air rathad mòr achaidh an luadhadair.

3 An sin thàinig a mach d'a ionnsuidh Eliacim mac Hilciah, a *bha* os ceann an tighe, agus Sebnah an scrìobhuiche, agus Ioah mac Asaiph an seanachaidh.

4 Agus thubhairt Rabsaceh riu, Abraibh a nis ri Hesecîah, Mar so deir an righ mòr, righ Asiria, Ciod e am bun-dòchais so as am bheil thu ag earbsadh?

5 Tha thu ag ràdh, (ach is briathra faoin *iad*,) *Tha* comhairle agus neart *agam* air son a' chogaidh; a nis cò as am bheil thu ag earbsadh, gu deanadh tu ceannairc a'm' aghaidh-sa?

6 Feuch, tha thu 'g earbsadh as an luirg bhriste chuilce sin, as an Eiphit; ni, ma leigeas duin' a chudthrom air, a théid a steach na làimh, agus a thollas troimhe i: mar so tha Pharaoh righ na h-Eiphit dhoibhsan uile a dh'earbas as.

7 Ach ma their thu rium, As an Tighearn ar Dia tha ar n-earbsadh; nach e sin esan a chuir Hesecîah air falbh 'ionadan àrda agus 'altairean; agus thubhairt e ri Iudah agus ri Ierusalem, Fa chomhair na h-altaire so sleuchdaidh sibh?

8 A nis uime sin, guidheam ort, tabhair géill [a] do'm thighearn righ Asiria; agus bheir mise dhuit dà mhìle each, ma's urrainn thu, as do thaobh-sa, marcaichean a chur orra.

9 Cionnus ma ta a philleas tu air ais aon cheann-feadhna do na seirbhisich a's lugha ta aig mo thighearn? agus a dh'earbas tu as an Eiphit air son charbadan agus marc-shluaigh?

10 Agus a nis, an ann as eugmhais an Tighearna a thàinig mis' a nìos an aghaidh na tìre so, g'a sgrios? *Is e* an Tighearn a thubhairt rium, Rach suas an aghaidh na tìre so, agus sgrios i.

11 An sin thubhairt Eliacim, agus Sebnah agus Ioah ri Rabsaceh, Labhair, guidheamaid ort, ri do sheirbhisich, anns a' chainnt Shirianaich, oir tuigidh sinn *i*; agus na labhair ruinn anns a' chainnt Iudaich, ann an cluasaibh an t-sluaigh a *ta* air a' bhalladh.

12 Agus thubhairt Rabsaceh, An ann a dh'ionnsuidh do thighearna-sa agus a d'ionnsuidh-sa, a chuir mo thighearn mise, a labhairt nam briathra so? nach ann a dh'ionnsuidh nan daoine a ta nan suidhe air a' bhalladh, a chum gu'n ith iad an salchar féin, agus gu'n òl iad an uisge [b] féin, maille ribhse?

13 An sin sheas Rabsaceh agus ghlaodh e le guth àrd anns a' chainnt Iudaich, agus thubhairt e, Cluinnibh briathran an righ mhòir, righ Asiria:

14 Mar so deir an righ, Na mealladh Hesecîah sibh, oir cha bhi e comasach air 'ur tearnadh:

15 Agus na tugadh Hesecîah oirbh bhur dòchas a chur anns an Tighearn, ag ràdh, Gu cinnteach tèarnaidh [c] an Tighearn sinn, cha dthoirear thairis am baile so ann an làimh righ Asiria:

16 Na h-éisdibh ri Hesecîah; oir mar so deir righ Asiria, Deanaibh *coimhcheangal* riumsa *le* tiodhlacadh, agus thigibh do m' ionnsuidh; agus itheadh gach fear d'a chrann-fìona, agus gach fear d'a chrann-fìge féin, agus òladh gach fear uisge a 'thobair féin;

17 Gus an dthig mis agus gu'n dthoir mi sibh gu tìr cosmhuil ri'r tìr féin; tìr arbhair agus fhìona, tìr arain agus fhìon-liosan.

18 *Thugaibh an aire* nach cuir Hesecîah impidh oirbh, ag ràdh, Tèarnaidh an Tighearn sinn. An do theasairg dée nan cinneach, gach aon a thìr féin, a làimh righ Asiria?

a *geall-umhlachd*. b *mùn*. c *teasairgidh*.

19 C'àit am bheil *dée* Hamait agus Arphaid ? c'àit am bheil dée Shepharbhaim ? an do theaſairg iad Samaria as mo làimh-ſa !

20 Cò am meaſg uile dhiathan nan dùthchanna ſo, a theaſairg an tìr féin as mo làimh-ſa, gu'n teaſairgeadh an Tighearn Ieruſalem as mo làimh ?

21 Ach dh'fhan iad nan toſd, agus cha d'thug iad focal freagraidh air ; oir b'i àithne an righ, Na tugaibh freagradh air.

22 An ſin thàinig Eliacim mac Hilciah a *bha* os ceann an tighe, agus Sebnah an ſcrìobhuiche, agus Ioah mac Aſaiph an ſeanachaidh, gu Heſeciah, le'n eudach reubta, agus dh'innis iad dha briathran Rabſaceh.

CAIB. XXXVII.

AGUS an uair a chuala Heſeciah an righ e, reub e 'eudach, agus chòmhdaich ſe e féin le eudach ſaic, agus chaidh e a ſteach do thigh an Tighearna.

2 Agus chuir e Eliacim a bha os ceann an tighe, agus Sebna an ſcrìobhuiche, agus ſeanoirean nan ſagart, còmhdaichte le eudach ſaic, gu Iſaiah mac Amois, am fàidh.

3 Agus thubhairt iad ris, Mar ſo deir Heſeciah, Is là teinn agus achmhaſain agus maſlaidh an là ſo ; oir tha clann air teachd gu inbhe breith, agus neart gu breith cha 'n'eil ann.

4 Theagamh gu'n tabhair an Tighearn do Dhia fa'near briathran Rabſaceh, a chuir a thighearn righ Aſiria a mhaſlachadh an Dé bheo ; agus gu'n cronuich e na briathran a chual an Tighearn do Dhia : cuir thuſa ma ta ſuas urnuigh air ſon an iarmaid a dh'fhàgadh.

5 Mar ſin thàinig òglaich[a] righ Heſeciah gu Iſaiah.

6 Agus thubhairt Iſaiah riu, Mar ſo their ſibh ri 'ur tighearn, Mar ſo tha an Tighearn ag ràdh, Na biodh eagal ort air ſon nam briathran a chuala tu, leis an d'thug òglaich righ Aſiria maſladh dhomhſa.

7 Feuch cuiridh mi oſag air[b], agus cluinnidh e tuairiſgeul[c], agus pillidh e d'a thìr féin ; agus bheir mi air tuiteam leis a' chlaidheamh na thìr féin.

8 Mar ſin phill Rabſaceh, agus fhuair e righ Aſiria a' cogadh an aghaidh Libnah ; oir chual e gu'n d'fhalbh e o Lachis.

9 Agus an uair a chual e mu thimchioll Thirhacah righ Etiopiah, ag ràdh, Thàinig e mach a chogadh riut ; chuir e teachdairean gu Heſeciah, ag ràdh,

10 Mar ſo their ſibh ri Heſeciah righ Iudah, Na mealladh do Dhia thu, as am bheil thu ag earbſabh, ag ràdh, Cha dthoirear Ieruſalem thairis do làimh righ Aſiria.

11 Feuch, chuala thu ciod a rinn righrean Aſiria ris na dùthchannaibh uile, 'gan ſgrios gu tur ; agus am bi thuſa air do theàrnadh ?

12 An do theaſairg dée nan cinneach iadſan a ſgrios m'aithriche-ſa, *eadhon* Goſan, agus Haran, agus Reſeph, agus mic Edein a bha ann an Telaſar ?

13 C'àit am bheil righ Hamait, agus righ Arphaid, agus righ mòrbhaile Shepharbhaim, Hena, agus Ibhah ?

14 Agus ghabh Heſeciah an litir o làimh nan teachdairean, agus leugh ſe i, agus chaidh Heſeciah ſuas do thigh an Tighearna, agus ſgaoil e i am fianuis an Tighearna.

15 Agus rinn Heſeciah urnuigh ris an Tighearn, ag ràdh,

16 O Thighearn nan ſluagh, Dhia Iſraeil, a ta a'd' chòmhnuidh *eadar* na cherubim ; is tuſa féin, a'd' aonar, Dia uile rìoghachda na talmhainn ; is tu a rinn na nèamhan agus an talamh.

17 Crom, O Thighearn, do chluas, agus cluinn ; foſgail, O Thighearn, do ſhùilean, agus faic ; agus cluinn uile bhriathran Shenacherib, a chuir e a mhaſlachadh an Dé bheo.

18 Gu deimhin, O Thighearn, ſgrios righrean Aſiria na cinnich uile, agus am fearann.

19 Agus thilg iad an dée anns an teine ; oir cha *bu* dée iad, ach obair làmhan

a *ſeirbhiſich, ſearbhanta.* b *ſpiorad ann.* c *iomradh.*

làmhan duine, fiodh agus clach, uime
fin fgrios iadfan iad.
20 Ach a nis O Thighearn ar Dia,
teafairg finn o a làimh; a chum gu'm
bi fios aig uile rìoghachdaibh na tal-
mhainn gur tus', a Thighearn, an
t-aon *Dia*.
21 An fin chuir Ifaiah mac Amois
fios gu Hefeciah, ag ràdh, Mar fo
deir an Tighearn Dia Ifraeil, Do
thaobh na h'urnuigh a rinn thu rium
mu thimchioll Shenacherib righ Afi-
ria;
22 So am focal a labhair an Tigh-
earn m'a thimchioll-fan; Rinn òigh-
nighean Shioin tàir ort, rinn i gàire
fanoid riut; chrath nighean Ierufa-
leim a ceann air do chùlaobh.
23 Cò d'an d'thug thu mafladh a-
gus toi-bheum? agus cò a thog thu
do ghuth na aghaidh, agus a thog
thu fuas do fhùilean gu h-àrd? *an
ann* an aghaidh Tì naomha Ifraeil?
24 Le do luchd-muinntir mhaflaich
thu an Tighearn, agus thubhairt thu,
Le lìonmhoireachd mo charbad dhìr
mi àirde nam beann, fliofan Leban-
oin; agus gearraidh mi sìos a' chuid
a's àirde d'a chraobhan feudair, rogha
a chraobhan giuthais; agus théid mi
ftigh do ionad àrd a chrìche, frìth a
Charmeil.
25 Chladhaich mi agus dh'òl mi
uifgeacha; agus le bonn mo chos
thiormaich mi uile fhruthan nan ion-
ada daingnichte.
26 Nach cuala tu o fhean *gu'n*
d'rinn mi e, *agus* o aimfiribh cian
gu'n do dhealbh mi e? A nis thug
mi gu crìch e, gu'm biodh tufa chum
bailte daingnichte chur fàs nan carn-
aibh fgrios.
26 Uime fin bha an luchd àiteach-
aidh air bheag neart; bha iad fo
gheilt-chrith agus amhluadh; bha
iad mar fheur na machrach, agus mar
an luibh uaine; *mar* fheur mullaich
an tighe, agus *mar* an t-arbhar a fhearg-
as mu'm fàs e fuas.
28 Ach is aithne dhomh do fhuidhe
sìos, agus do dhol a mach, agus do
theachd a fteach, agus do bhoile ann
am aghaidh.
29 A chionn gu'n d'thàinig do
bhoile a'm' aghaidh, agus d'àrdan [a],
a nìos gu'm chluafaibh; air an aobh-
ar fin cuiridh mi mo dhubhan ann ad
fhròin, agus mo fhrian ann ad bheul;
agus pillidh mi air d'ais thu air an
t-flighe air an d'thàinig thu.
30 Agus bithidh fo na chomhara
dhuit; Ithibh air a' bhliadhna fo an
ni fin a dh'fhàfas leis fein, agus an
dara bliadhna an ni a chinneas as fin;
agus an treas bliadhna cuiribh agus
buainibh; agus fuidhichibh fion-liof-
an, agus ithibh an toradh.
31 Agus gabhaidh am fuigheall a
théid as do thigh Iudah, fathaft
freumh sìos, agus giùlainidh e tor-
adh fuas.
32 Oir o Ierufalem théid fuigheal
a mach, agus iadfan a théid as o
fhliabh Shioin: ni eud Tighearna nan
fluagh fo a choimhlionadh.
33 Air an aobhar fin, mar fo deir
an Tighearn mu thimchioll righ Afi-
ria, Cha dthig e a fteach do'n chath-
air fo, agus cha tilg e faighead innte,
agus cha tog e fgiath fa comhair, a-
gus cha chuir e fuas torr na h-agh-
aidh.
34 Air an t-flighe air an d'thàinig
e, mar fin pillidh e; agus do'n chath-
air fo cha dthig e fteach, deir an
Tighearn.
35 Agus dìonaidh mis' a' chathair
fo chum a tearnadh, air mo fgàth
féin, agus air fgàth Dhaibhidh m'òg-
laich.
36 Agus chaidh aingeal an Tigh-
earna a mach, agus bhuail e, ann an
campa nan Afirianach, ceud agus
ceithir fichead agus cùig mìle; agus
an uair a dh'éirich *daoine* fa mhad-
uinn, bha iad fin uile nan corpaibh
marbha.
37 Agus thog Senacherib righ A-
firia air, agus dh'fhalbh *e*, agus phill
e, agus ghabh e còmhnuidh ann an
Ninebheh.
38 Agus tharladh, an uair a bha
e ri adhradh ann an tigh Nifroch a
dhé, gu'n do bhuail Adramelec agus
Sarefer, a mhic, e leis a' chlaidh-
eamh, agus theich iad do thìr Arme-
nia;

[a] *do dhalmachd*.

nia; agus rìoghaich Eſarhadon a
mhac na àit.

CAIB. XXXVIII.

ANNS na laithibh ſin bha Heſe-
ciah tinn gu bàs; agus thàin-
ig Iſaiah am fàidh, mac Amois, d'a
ionnſuidh, agus thubhairt e ris, Mar
ſo tha an Tighearn ag ràdh, Cuir do
thigh an ordugh [a], oir gheibh thu
bàs, agus cha mhair thu beo.
2 An ſin thionndaidh Heſeciah
'aghaidh ris a' bhalladh, agus rinn e
urnuigh ris an Tighearn;
3 Agus thubhairt e, Guidheam
ort, O Thighearn, cuimhnich a nis
cionnus a ghluais mi a'd' làthair ann
am firinn, agus le cridhe iomlan, a-
gus rinn mi an *ni a ta* maith a'd'
ſhùilibh. Agus ghuil Heſeciah gu
goirt.
4 An ſin thàinig focal an Tigh-
earna dh'ionnſuidh Iſaiah, ag ràdh,
5 Falbh agus abair ri Heſeciah,
Mar ſo deir an Tighearn, Dia
Dhaibhidh d'athar, Chuala miſe d'ur-
nuigh, chunnaic mi do dheoir; feuch
cuiridh mi ri d' laithibh cùig bliadhna
deug;
6 Agus ſaoraidh mi thuſa agus am
baile ſo a' làimh righ Aſiria; agus
dìonaidh mi am baile ſo.
7 [Agus thubhairt Iſaiah [b],] *'Se
ſo a's* comhara dhuit gu'n dean an
Tighearn an ni a labhair e;
8 Feuch, bheir mi air ais dubhar
nan ceum, a ta air dol sìos leis a' ghréin
air ceumaibh [c] Ahais, deich ceuman
air ais. Agus phill a' ghrian air a
h-ais deich ceuman air na ceumaibh
air an deachaidh i sìos.
9 Scrìobhadh Heſeciah righ Iu-
dah, an uair a bha e tinn, agus
ſhlànuicheadh e o 'thinneas.
10 Thubhairt mi, ann an giorrach-
adh mo laithean, Théid mi a ſteach
air dorſaibh na h-uaighe, chaill mi
fuigheall mo bhliadhnachan.
11 Thubhairt mi, Cha'n fhaic mi
ni's mò an Tighearn, *eadhon* an Tigh-
earn ann an tìr nam beo; cha ſeall
mi air duine ni's mò, maille ri luchd-
àiteachaidh an t-ſaoghail.
12 Tha m'aois air dealachadh rium,
agus dh'atharraicheadh i air falbh
mar *phàilliun* buachaille; ghearradh
as mo bheatha mar *gu'm b'ann* leis
an fhigheadair; ta e 'gam chlaoidh-
eadh le tinneas caithteach; o là
eadhon gu h-oidhche ta thu a' cur as
domh.
13 Shaoil mi, gus a' mhaduinn,
gu'm briſeadh e, mar leòmhan, mo
chnàmhan uile; o là eadhon gu
h-oidhche ta thu a' cur as domh.
14 Mar ghobhlan-gaoithe *no mar*
chorr, rinn mi cànran; rinn mi caoidh
mar choluman: tha mo ſhùilean air
fàilneachadh *le ſealltuinn* ſuas. O
Thighearn, tha mi air mo ſhàruch-
adh; bi thus' a'd' urras dhomh.
15 Ciod a their mi? Labhair e
rium, agus fòs choimhlion e. Gluaiſ-
idh mi gu fòil uile bhliadhnachan mo
bheatha, air ſon amhghair m'anma.
16 O Thighearn, trìd *nan nithe*
ſin bithidh ſiad beo, agus anns *na
nithibh* ſin ta beatha mo ſpioraid:
mar ſin ſhlànuich agus bheothaich thu
mi.
17 Feuch, tha m'amhghar air a
chaochladh gu ſois; theaſairg thu gu
caomh m'anam o ſhlochd millteach;
ſeadh, thilg thu air do chùlaobh m'uile
lochdan.
18 Gu deimhin cha dean an uaigh
luadh [d] ort, cha dthoir am bàs cliù
dhuit; cha chuir iadſan a théid sìos
do'n t-ſlochd an dòigh ann ad fhìr-
inn.
19 Am beo, am beo, molaidh eſan
thu, mar a dheanams' air an là'n
diugh; foillſichidh an t-athair do'n
chloinn do thairiſneachd [e].
20 Bha an Tighearn *leam* do m'
thearnadh; air an aobhar ſin ſeinnidh
ſinn mo dhàin air na h-innealaibh-
ciuil, uile laithean ar beatha, ann an
tigh an Tighearna.
21 Agus thubhairt Iſaiah, Gabh-
adh iad meall fhìgean, agus ſgaoil-
eadh iad air an neaſgaid iad, agus
ſlànuichear e.
22 Agus thubhairt Heſeciah, Ciod
e an comhara gu'n dthéid mi ſuas do
thigh an Tighearna?

a *Thoir àithne mu thimchioll do thighe.* b Faic II. Righ. XX. 8, 9. c *uairreadair-gréine.* d *iomradh.* e *d'fhìrinn.*

CAIB. XXXIX.

ANNS an àm sin, chuir Merodach-baladan, mac Bhaladain righ Bhabiloin, litir agus tiodhlac' gu Heseciah; oir chual e gu'n robh e tinn, agus gu'n do shlànuicheadh e.

2 Agus rinn Heseciah gairdeachas air an son; agus dh'fheuch e dhoibh tigh-tasgaidh a nithe luachmhor, an t-airgiod agus an t-òr, agus na spìosruidhean, agus an ola luachmhor, agus a thigh-armachd gu léir, agus na h-uile ni a fhuaradh na ionmhasaibh; cha robh ni na thigh agus na rìoghachd uile, nach d'fheuch e dhoibh.

3 Agus thàinig am fàidh Isaiah gu righ Heseciah, agus thubhairt e ris, Ciod a thubhairt na daoine so? agus cia as a thàinig iad a d'ionnsuidh? Agus thubhairt Heseciah, Thàinig iad do m'ionnsuidh o thìr chéin, o Bhabilon.

4 Agus thubhairt e, Ciod a chunnaic iad ann ad thigh? Agus thubhairt Heseciah, Na h-uile *nithe* a *th*'ann mo thigh chunnaic iad; cha 'n'eil ni ann am ionmhasaibh nach d'fheuch mi dhoibh.

5 An sin thubhairt Isaiah ri Heseciah, Cluinn focal Tighearna nan sluagh.

6 Feuch, tha na laithean a' teachd, anns am bi gach ni a *th*'ann ad thigh, agus a thaisg d'aithrichean suas gus an là an diugh, air a ghiùlan air falbh gu Babilon; cha'n fhàgar ni air bith, deir an Tighearn.

7 Agus do d' mhacaibh a thig uait, a ghineas tu, bheir iad leo; agus bithidh iad nan caillteanaich ann an lùchairt righ Bhabiloin.

8 An sin thubhairt Heseciah ri Isaiah, *Is* maith focal an Tighearna a labhair thu; oir thubhairt e gu'm bi sìth agus fìrinn ann ri mo laithibh-se.

CAIB. XL.

THUGAIBH comhfhurtachd, thugaibh comhfhurtachd do mo shluagh-sa, deir 'ur Dia.

2 Labhraibh gu sòlasach ri Ierusalem; agus glaodhaibh rithe, gu'n do choimhlionadh a cogadh, gu'n do ghianadh a h-aingidheachd; oir fhuair i o làimh an Tighearn a dhà uiread r'a h-uile pheacaibh.

3 Guth an ti a ghlaodhas anns an fhàsach[a], Ulluichibh slighe an Tighearna, réitichibh anns an di-threabh[b] slighe àrd do ar Dia-ne.

4 Bithidh gach gleann air 'àrdachadh, agus gach sliabh agus cnoc air 'isleachadh; agus nithear an càm dìreach, agus na h-ionada garbha nan còmhnard réidh.

5 Agus foillsichear glòir an Tighearna, agus chi gach uile fheoil *i* le chéile; oir is e beul an Tighearna a labhair.

6 Tha guth ag ràdh, Eigh; agus thubhairt mise, Ciod a dh'éigheas mi? Is feur gach uile fheoil, agus ta a h-òirdheirceas uile mar bhlàth na machrach.

7 Tha am feur a' seargadh, am blàth a' crìonadh, 'nuair a shéideas gaoth an Tighearna air; gu cinnteach is feur an sluagh.

8 Tha am feur a' seargadh, am blàth a' crìonadh; ach seasaidh focal ar Dé-ne gu sìorruidh.

9 O thus' a tha tabhairt deadh sgéil do Shion, gabh suas gu sliabh àrd, O thus' a tha tabhairt deadh sgéil do Ierusalem, tog do ghuth le neart; tog *e*, na biodh eagal ort; abair ri bailtibh Iudah, Feuch bhur Dia!

10 Feuch thig an Tighearn Iehobhah le làimh làidir, agus bheir a ghairdean buaidh a mach dha; feuch, tha a dhuais maille ris, agus 'obair na fhianuis.

11 Mar bhuachaille beathaichidh e a threud; le a ghairdean cuairtichidh e na h-uain, agus giùlainidh se *iad* na uchd; iomainidh e gu sèimh an spréidh a tha trom le h-àl[c].

12 Cò a thomhais na h-uisgeachan ann an glaic a làimhe; agus a shìn a mach na nèamha le réis; agus a chruinnich duslach na talmhainn ann an soitheach-tomhais; agus a chothromaich na sléibhtean ann an sligibh, agus na cnuic ann am meigh-chothroim?

a *Guth neach a' glaodhaich; Anns an fhàsach,* &c. b *fhàsach.* c *na caoirich-altruim.*

roim?
13 Cò a sheòl Spiorad an Tighear-
na; no *mar* aon d'a chomhairle, a
theagaisg e?
14 Cò ris a chuir e a chomhairle,
agus cò a theagaisg e, agus a sheòl
dha ceum a' bhreitheanais, agus a
dh'ionnsuich dha eòlas, agus a sheòl
dha slighe na tuigse?
15 Feuch *tha* na cinnich mar
bhoinne an t-soithich-uisge; agus
measar iad mar dhus mìn na slige-
tomhais: feuch, togaidh e suas na
h-eileana mar smùirnean.
16 Agus cha leòr Lebanon, gu a
losgadh, agus cha leòr a bheathaich-
ean air son ìobairt loisgte.
17 *Tha* na cinnich uile mar neo-ni
na làthair-san; tha iad air am meas
leis mar fhior neo-ni agus dìomhanas.
18 Cò ris, ma seadh, a shamhlaich-
eas sibh Dia? agus ciod an coslas a
ni sibh dha [a]?
19 Tilgidh am fear-cìrde dealbh
snaidhte, agus cuiridh an t-òr-cheard
thairis e le h-òr; agus ni e slabh-
ruidhean airgid *air a shon.*
20 Am fear aig nach 'eil fiù tabh-
artas, taghaidh e mìr fiodha nach
grod; iarraidh e mach dha féin fear-
oibre seòlta, a chuireas an uigheam
dealbh snaidhte nach dthéid a ghluas-
ad.
21 Nach d'fhuair sibh fios? nach
cuala sibh *sgeul?* nach do chuireadh
an céill duibh o thùs? nach do thuig
sibh o *leagadh* bunaite na talmh-
ainn?
22 *Is esan* a ta na shuidhe air cuairt
na talmhainn, agus *tha* a luchd-àit-
eachaidh mar fhionnain-fheoir [b]; a
ta sìneadh mach nan neamha mar
sgàil thana, agus 'gan sgaoileadh
mar bhùth anns an gabhar còmh-
nuidh.
23 A tha tabhairt phrionnsuchan
gu neo-ni, *agus* a' deanamh bhreith-
eachan nan dìomhanas.
24 Seadh cha suidhichear iad, ni
mò a chuirear iad, ni mò a fhreumh-
aicheas am bun san talamh; an uair
a shéideas e orra, seargaidh iad; agus
bheir a' chuairt-ghaoth air falbh iad
mar asbhuain.
25 Cò ris ma ta a shamhluicheas
sibh mise, no a choimeasar mi? deir
an Tì naomha.
26 Togaibh 'ur sùilean an àird,
agus feuchaibh, cò a chruthaich iad
so; Esan a bheir a mach an armailt-
ean air àireamh; a ghairmeas orr'
uile air an ainm; trìd meud a neirt
agus treise a chumhachd, cha bhi aon
air chall [c].
27 C'uime a deir thusa, O Iacoib,
agus a labhras tu, O Israeil; tha mo
shlighe foluichte o'n Tighearn, tha
mo chòir air a léigeadh air dearmad
le mo Dhia?
28 Nach aithne dhuit, nach cuala
tu? An Dia bith-bhuan, an Tigh-
earn, Cruith-fhear chrìocha na tal-
mhainn, cha'n fhannaich agus cha
sgìthich e; cha'n fheudar a thuigse a
rannsachadh.
29 Bheir esan neart do'n anfhann,
agus dhoibhsan *a ta* gun lùgh meud-
aichidh e treise.
30 Fàsaidh na h-òigfhir lag agus
sgìth, agus tuitidh an òigridh thaghta
gu làr;
31 Ach iadsan a dh'fheitheas air
an Tighearn gheibh iad spionnadh
nuadh; éiridh iad suas mar iolair air
a sgiathaibh; ruithidh iad agus cha
bhi iad sgìth, siùbhlaidh iad agus cha'n
fhàs iad fann.

CAIB. XLI.

BITHIBH 'n'ur tosd a'm' làthair,
O eileana, agus ath-nuadhaich-
eadh na slòigh *an* neart; thigeadh
iad am fagus, an sin labhradh iad;
dlùthaicheamaid r'a chéile chum tag-
raidh.
2 Cò a dhùisg suas an t-ionracan
o'n ear, a ghairm e chum a choise, a
chuir na cinnich na fhochair, agus a
thug dha riaghladh thar righribh? a
rinn *iad* mar an duslach roimh a
chlaidheamh, *agus* mar an asbhuain
fhuadaichte roimh a bhogha?
3 Ruaig e iad, chaidh e thairis
ann an tèaruinteachd; air slighe
nach

a *ciod an samhla bheir sibh air?*
c *air dearmad, do dhìth.*
b *leumnaich uaine, dhreollain.*

each d'imich e *roimhe* le a choſaibh.

4 Cò a dh'oibrich agus a choimhlion *ſo*, a' gairm nan ginealach o thùs? Miſe an Tighearn, an ceud neach, agus maille riuſan air dheireadh, *is* miſe e.

5 Chunnaic na h-eileana, agus ghabh iad eagal; iomalla na tìre, *agus* bha iad fo uabhas; dhlùthaich iad, thàinig iad am fagus.

6 Chuidich gach fear a choimhearſnach, agus thubhairt e r'a bhràthair, Bi miſneachail.

7 Mar ſin thug an ſaor miſneach do'n òr-cheard; eſan a mhìnicheas leis an òrd, do'n fhear a bhuaileas air an innein; ag ràdh, *Tha* e ullamh chum a thàthadh [a]; agus dhaingnich e le tairngibh *e*, air chor as nach gluaiſteadh e.

8 Ach thuſa Iſraeil, m'òglach, a Iacoib, a roghnaich mi; ſliochd Abrahaim mo charaid;

9 *Thuſa* a ſtiuir mi o iomallaibh na talmhainn, agus a ghairm mi o mheaſg a maithean; agus thubhairt mi riut, Is tu m'òglach, roghnaich mi thu, agus cha do chuir mi cùl riut:

10 Na bìodh eagal ort, oir *tha* miſe maille riut; na biodh geilt ort, oir is miſe do Dhia; neartaichidh [b] mi thu, ſeadh cuidichidh [c] mi thu, ſeadh cumaidh [d] mi ſuas thu le deas làimh m'fhìreantachd.

11 Feuch nàraichear agus maſlaichear iadſan uile a bha air bhoile riut; bithidh iad mar neo-ni; agus théid iadſan a ni ſtrì riut am mugha.

12 Iarraidh tu iad, agus cha'n fhaigh thu iad, *eadhon* na daoine a rinn ſtrì riut; bithidh na daoin' a rinn cogadh riut mar neò-ni, agus mar ni gun bhrìgh.

13 Oir tha miſe, an Tighearn do Dhia, 'gad chumail ſuas air do làimh dheis; ta mi ag ràdh riut, Na biodh eagal ort, ni miſe cobhair ort.

14 Na biodh eagal ort, a chnuimh a Iacoib, a dhaoine bàſmhor Iſraeil; ni miſe cobhair ort, deir an Tighearn, agus is e d'fhear-ſaoraidh Tì naomha Iſraeil.

15 Feuch ni mis' thu a'd' inneal-bhualaidh geur, nomha, aig am bì fiacla; buailidh tu na ſléibhtean, agus pronnaidh tu gu mìn *iad*; agus ni thu na cnuic mar mholl.

16 Faſgainidh tu iad, agus bheir a' ghaoth air falbh iad, agus ſgapaidh a' chuairt-ghaoth iad; ach ni thuſa gairdeachas anns an Tighearn, ni thu uaill ann an Tì naomha Iſraeil.

17 *An uair* a bhitheas am bochd agus an t-ainnis ag iarruidh uiſge, agus nach *bi e* ann; agus a bhitheas an teanga air tiormachadh le tart; miſe Iehobhah freagram iad; Dia Iſraeil, is mi nach tréig iad.

18 Foſgailidh mi aibhnichean anns na h-ionadaibh àrda, agus tobraichean ann am meadhon nan gleann; ni mi am fàſach na linne uiſge, agus am fearann tioram na ſhruthaibh uiſge.

19 Cuiridh mi anns an fhàſach an ſeudar, an ſitta, am miortal, agus an crann-ola; ſuidhichidh mi anns an fhàſach an giuthas, an gall-ghiuthas, agus am bocſa le chéile.

20 A chum gu'm faic agus gu'n aithnich iad, agus gu'n toir iad ſainear, agus gu'n tuig iad maraon, gur i làmh an Tighearna a rinn ſo, agus gur e Tì naomh Iſraeil a dhealbh e.

21 Thugaibh am fagus 'ur cùiſ, deir an Tighearn; thugaibh a làthair bhur mòr chumhachdan, deir rìgh Iacoib.

22 Thigeadh iad am fagus, agus innſeadh iad dhuinn na nithe a thig gu crìch; innſeadh iad dhuinn ciod iad na nithe a bha roimhe, chum as gu'n dthoir ſinn ſainear iad; agus gu'm bi fios againn air a' chrìch; no cuireadh iad an céill nithe ri teachd.

23 Innſibh dhuinn na nithe a thig gu crìch an déigh ſo, agus aithnichidh ſinn gur dée ſibh; ſeadh deanaibh maith no deanaibh olc, a chum as gu'n amhairc ſinn [e], agus gu'm faic ſinn *e* maraon.

24 Feuch, is neo-ni ſibh, agus is ni gun bhrìgh bhur obair: is gràinealachd *eſan* a roghnaicheas ſibh.

a *ag ràdh mu'n tàthadh, Is maith e.* b *neartaich.* c *chuidich.* d *chum.* e *bi ſinn ſo uamhas.*

25 Thog mi ſuas *fear* o thuath, a-
gus thig e; o éirigh na gréine gairm-
idh e air m'ainm; agus thig e nuas
air prionnſaibh mar *air* clàbar, agus
mar a ſhaltras an criadhádair a'
chriadh.
26 Cò a dh'innis o thùs, ionnas
gu'm biodh ſios againn; agus roimh
làimh, gu'n abramaid, *Tha e* ceart?
Seadh, cha 'n'eil neach ag innſeadh,
ſeadh, cha 'n'eil neach ag cur an céill,
ſeadh, cha 'n'eil neach ag cluinntinn
'ur briathra.
27 *Their mi* ri Sion an toiſeach,
Feuch, feuch iad ſin; agus do Ieru-
ſalem bheir mi teachdair deadh ſgéil.
28 Oir dh'amhairc mi, agus cha
robh neach ann, agus nam meaſg cha
robh fear-comhairle; no neach a
bheireadh freagradh an uair a
dh'fheòruich mi dhiubh.
29 Feuch, is dìomhanas iad uile;
is neo ni an oibre; is gaoth agus
faoineis an dealbhan leaghta.

CAIB. XLII.

FEUCH m'òglach, a chumas mi
ſuas; m'aon taghta, anns am
bheil tlachd aig m'anam: chuir mi
mo ſpiorad air; foillſichidh e breith-
eanas do na cinnich.
2 Cha ghlaodh e, agus cha tog e
iolach; agus cha chluinnear a ghuth
anns na ſràidibh [a].
3 A' chuilc bhrùithte cha bhris e,
agus an lìon d'am bheil caol ſmùid
cha mhùch e; foillſichidh e breith-
eanas chum fìrinn.
4 Cha dthig failing no briſeadh air,
gus an ſuidhich e breitheanas air an
talamh; agus feithidh na h-eileana
air a lagh.
5 Mar ſo deir an Tighearn Dia,
eſan a chruthaich na nèamhan, agus
a ſhìn a mach iad; a ſgaoil a mach
an talamh agus na chinneas as; a tha
tabhairt anail [b] do'n t-ſluagh a ta
air, agus deo dhoibhſan a ta 'g im-
eachd air.
6 Ghairm miſe Iehobhah thu ann
am fìreantachd, agus gabhaidh mi
greim do d' làimh, agus gleidhidh mi
thu; agus bheir mi thu mar choimh-
cheangal do'n t-ſluagh, mar ſholus do
na cinnich.
7 A dh'fhoſgladh nan sùilean dalla;
a thabhairt a phrìoſunaich a mach as
a' phrìoſun, agus na muinntir a ta
nan ſuidhe ann an dorchadas a' tigh
na daorſa.
8 Is miſe Iehobhah, is e ſin m'ainm;
agus mo ghlòir cha tabhair mi do
neach eile, no mo chliu do dhealbhan
ſnaighte.
9 Feuch na ſeann nithe, thàinig
iad gu crìch, agus nithe nuadh cuir-
eam an céill; mu'm bris iad a
mach, foillſichidh mi dhuibh iad.
10 Seinnibh do'n Tighearn òran
nuadh; *ſeinnibh* a chliu o iomall na
talmhainn; ſibhſe a bhios dol air
cuan, agus na h-uile a ta 'ga lìonadh;
eileana, agus na h-uile a ta chòmh-
nuidh annta.
11 Togadh am fàſach *iolach*, agus
na bailtean a ta ann; na bailtean
beaga, luchd-àiteachaidh Chedair;
deanadh luchd-àiteachaidh na creige
co-ghàir; o mhullach nan ſléibhtean
togadh iad iolach.
12 Thugadh iad glòir do'n Tigh-
earn, agus cuireadh iad an céill a chliu
am meaſg nan eilean.
13 Mar threun-fhear théid an
Tighearn a mach; mar fhear-cogaidh
dùiſgidh e ſuas 'eud: glaodhaidh e,
ſeadh togaidh e iolach; ni e gaiſge
an aghaidh a naimhdean.
14 Dh'fhan mi fada sàmhach, bha
mi a'm' thoſd, chum mi orm féin [c];
nis éighidh mi mar mhnaoi ri ſaoth-
air; ſgrioſaidh mi, agus ithidh mi
ſuas maraon.
15 Cuiridh mi fàs ſléibhtean, agus
tiormaichidh mi am feur uile; ni mi
na h-aibhnichean nan eileanaibh, a-
gus tiormaichidh mi na linneachan
uiſge.
16 Agus ſtiùraidh mi na doill air
ſlighe nach b'aithne dhoibh; tríd
cheuman air nach robh iad eòlach
treòraichidh mi iad; ni mi an dorch-
adas na ſholus rompa, agus *ni mi*
ſlighean ſiara dìreach: na nithe ſo
ni

a *am muigh.* b *analach.* c *Am bi mi* fathaſt *a'm' thoſd?* *An cum mi orm féin?*

ni mi air an son, agus cha tréig mi
iad.
17 Pillear air an ais, nàraichear
gu tur, iadsan a ta cur an dochais
ann an dealbh snaighte; a ta 'g ràdh
ris na dealbhan leaghta, Is sibhse ar
dée-ne.
18 Cluinnibh, sibhse ta bodhar;
agus a dhaoine dalla, amhaircibh a
chum 's gu'm faic sibh.
19 Cò a tha dall ach m'òglach-sa,
no bodhar mar an teachdair *a* chuir
mi uam? Cò a tha dall mar esan a
ta iomlan, no dall mar òglach an
Tighearna?
20 Tha thu faicinn iomadh ni, ach
cha 'n'eil thu tabhairt fainear; tha
do chluasan fosgailte, ach gun bhi
cluinntinn.
21 Tha an Tighearn gràsmhor air
sgàth 'fhìrinn féin; àrdaichidh e an
lagh, agus cuiridh e urram *air*.
22 Ach is sluagh so *a tha* spùinnte
agus creachta; tha iad uile air an
glacadh ann an slochdaibh, agus air
an druideadh a steach ann am prìos-
unaibh; rinneadh iad nan cobhart-
ach, agus cha 'n'eil neach 'gan tearn-
adh; nan creich, agus cha 'n'eil
neach a deir, Thoir air ais.
23 Cò 'n'ur measg a dh'éisdeas ri
so; a bheir fainear, agus a ghabhas
suim san àm ri teachd?
24 Cò a thug Iacob mar cobhart-
ach, agus Israel do'n luchd-creach-
aidh? Nach b'e an Tighearn, esan
an aghaidh an do pheacaich iad, agus
nach b'àill leo gluasad na shlighibh,
ni mò thug iad géill d'a reachd?
25 Air an aobhar sin dhòirt e air
teas a chorruich, agus neart a' chatha;
agus dh'fhadaidh e teine mu'n cuairt
da, ach cha do thuig e; agus loisg se
e, gidheadh cha d'thug e fainear.

CAIB. XLIII.

ACH a nis mar so deir an Tigh-
earn, a chruthaich thu O Ia-
coib, agus a dhealbh thu O Israeil;
Na biodh eagal ort, oir shaor mise
thu; ghairm mi thu air d'ainm; is
leamsa thu.
2 An uair a shiùbhlas tu trìd nan
uisgeachan, *bithidh* mise maille riut;
agus trìd nan aibhnichean, cha dthig
iad tharad; an uair a dh'imicheas tu
tre an teine, cha loisgear thu, agus
cha dean an lasair greim ort [a].
3 Oir is mise an Tighearn do Dhia,
Ti naomh Israeil, d'fhear-saoruidh:
thug mi an Eiphit ann ad eiric; Eti-
opia agus Seba air do shon.
4 A chionn gu'n robh thu luach-
mhor ann am shealladh, fhuair thu
urram, agus thug mise gràdh dhuit;
uime sin bheir mi daoine air do shon,
agus slòigh an eiric d'anama.
5 Na biodh eagal ort, oir tha mise
maille riut; o'n ear bheir mi do
shliochd, agus o'n iar cruinnichidh mi
thu.
6 Their mi ris an àirde tuath,
Thoir seachad, agus ris an àirde deas,
Na cum air ais; thoir mo mhic o
chéin, agus mo nigheanan o chrìoch-
aibh na talmhainn;
7 *Eadhon* gach neach a ta air a
ghairm air m'ainm-sa; oir chum mo
ghlòire chruthaich mi e, dhealbh mi
e, seadh rinn mi e.
8 Thugaibh a mach iadsan a tha
dall, agus sùilean aca; agus a ta
bodhar, agus cluasan aca.
9 Cruinnichear na cinnich uile
le chéile, agus tionailear na slòigh;
cò nam measg a dh'fhoillsicheas so,
agus a dh'innseas duinn na nithe air
thoiseach? Thugadh iad *a làthair*
am fianuisean, a chum gu'm bi iad
air am fìreanachadh; no éisdeadh
iad, agus aidicheadh [b] iad, *Tha sin*
fior.
10 Is sibhse m'fhianuisean, deir
an Tighearn, eadhon m'òglach a
roghnaich mi; a chum gu'n aithnich
agus gu'n creid sibh mi; agus gu'n
tuig sibh gur mi Esan; romham-sa
cha robh dia sam bith air a dhealbh-
adh, ni mò bhitheas aon a'm' dhéidh.
11 *Is* mise, *eadhon* mise an Tigh-
earn; agus a mach uamsa [c] cha 'n'eil
slanuighear ann.
12 Dh'fhoillsich mise, agus theas-
airg mi, agus chuir mi'n céill, an uair
nach robh *dia* eile 'n'ur measg;
uime sin is fianuisean sibh dhomhsa,
gur

a *tha dearg an lasair ort*. b *abradh*. c *a bharr*
ormsa.

gur mi Dia.
13 Eadhon mu'n robh latha ann,
is mi E; agus cha 'n'eil neach ann a
theasairgeas as mo làimh; oibrichidh
mise, agus cò a bhacas e?
14 Mar so deir an Tighearn, 'ur
fear-saoraidh, Ti naomha Israeil, Air
bhur son-sa chuir mi fios gu Pabilon,
agus thug mi nuas a croinn-dhruididh
uile, agus na Caldéich a ni uaill[a]
nan longaibh.
15 Is mise an Tighearn, bhur Ti
naomha, cruith-fhear Israeil, bhur
righ.
16 Mar so deir an Tighearn, esan
a ni slighe anns an fhairge, agus
rathad anns na h-uisgeachaibh làidir;
17 A bheir a mach an carbad agus
an t-each, an armailt agus am feachd;
le chéile luidhidh iad sìos, agus cha'n
eirich iad; chuireadh as iad, mhùch-
adh iad mar asgart.
18 Na cuimhnichibh na nithe a
bh'ann roimhe; agus na nithe a bha
o shean na tugaibh fainear.
19 Feuch ni mi ni nuadh, a nis
brisidh e mach; nach dthoir sibh aire
dha? Seadh, ni mi anns an fhàsach
slighe, *agus* aibhnichean anns an di-
threabh
20 Bheir fiadh-bheathach na mach-
rach glòir dhomh; na dragona agus
na cailleachan-oidhche; a chionn
gu'n d'thug mi uisgeachan anns an
fhàsach, aibhnichean anns an di-
threabh; a chum deoch a thabhairt
dom' shluagh, do mo mhuinntir
thaghta.
21 An sluagh so dhealbh mi air mo
shon féin, cuiridh iad an céill mo
chliu.
22 Gidheadh cha do ghairm thu
orm O Iacoib, ach ghabh thu seirbhe
dhiom O Israeil.
23 Cha d'thug thu do m' ionnsuidh
meanbh-chrodh do thabhartasa loisg-
te; ni mò thug thu urram dhomh le
d'iobairtibh; cha do shàruich mi thu
le tabhartas, ni mò sgìthich mi thu le
tùis.
24 Cha do cheannuich thu dhomh-
sa le h-airgiod a' chuilc chùbhraidh,
ni mò lìon thu mi le saill d'iobairt-
ean; ach shàruich thu mi le do lochd-
aibh; sgìthich thu mi le d' ea-ceart-
ibh.
25 Is mise, mise féin, esan a
dhubhas d' ea-ceartean as, air mo
sgàth féin; agus do lochdan cha chum
mi air chuimhne.
26 Cuir a'm' chuimhne, tagramaid
le chéile; cuir an céill *do chùis,
dh'fheudhainn* an glan thu thu féin.
27 Pheacaich do cheud athair, a-
gus chiontaich do luchd-teagaisg a'm'
aghaidh.
28 Uime sin sgar mi mach uachd-
arain an ionaid naomha; agus thug
mi thairis Iacob chum mallachaidh,
agus Israel chum maslaidh.

CAIB. XLIV.

ACH a nis éisd, O Iacoib m'òg-
lach, àgus Israeil a roghnaich
mi.
2 Mar so deir an Tighearn a
chruthaich thu, agus a dhealbh thu
o'n bhroinn, *agus* a chuidicheas thu;
Na biodh eagal ort, a Iacoib m'òg-
lach, agus a Iesuruin a roghnaich
mi;
3 Oir doirtidh mi mach uisge air
an tartmhor, agus sruthan[b] air an
fhearann chruaidh; doirtidh mi mach
mo Spiorad air do shliochd, agus mo
bheannachd air do ghineil.
4 Agus fàsaidh iad suas *mar* anns
an fheur; mar gheugaibh seilich ri
taobh nan sruth-chlaisean.
5 Their am fear so, Is leis an
Tighearn mise; agus ainmichear fear
eile air ainm Iacoib; agus sgrìobh-
aidh fear eile le a làimh[c] do'n Tigh-
earn, agus sloinnidh se *e féin* air ainm
Israeil.
6 Mar so deir an Tighearn, righ
Israeil, agus 'fhear-saoraidh, Tigh-
earn nan sluagh, Is mi an ceud neach,
agus is mi an neach deireannach;
agus a mach uamsa cha 'n'eil dia
ann.
7 Agus cò, mar mise, a ghairmeas,
agus a chuireas an céill e, agus a
chuireas an ordugh dhomh e, o'n àm
an do shuidhich mi an sluagh o shean?
no a chuireas an céill duinn[d] na
nithe

a *iolach.* b *caochana.* c *cuiridh fear eile comhair air a
làimh.* d *deibh.*

nithe a ta a' teachd, agus a ta ri teachd.

8 Na biodh eagal oirbh, agus na biodh geilt oirbh; nach d'fhoillſich miſe dhuit o'n àm ud, agus nach d'innis mi? ſeadh is fianuiſean ſibh dhomh. Am bheil dia ann ach miſe? ſeadh cha 'n'eil dia [a] eile ann; cha'n aithne dhomh *aon.*

9 Iadſan a ni dealbh ſnaighte, is diombanas iad uile; agus nan nithibh taitneach cha bhi tairbhe; agus tha iad nam fianuiſibh nan aghaidh fein, nach faic iad, agus nach tuig iad, a chum as gu'm biodh iad air an nàrachadh.

10 Cò a dhealbh dia, no a thilg dealbh leaghta, anns nach 'eil tairbhe ſam bith?

11 Feuch, bithidh a chompanaich uile air an nàrachadh; agus an luchd-oibre, is daoine iad [b]: cruinnichtear iad uile r'a chéile, ſeaſadh iad ſuas; bithidh eagal orra, agus bithidh iad air an nàrachadh le chéile.

12 Gearraidh an gobha mìr iaruinn, oibrichidh ſe e anns na h-eibhlibh, agus ni e a chumadh le h-ordaibh, agus caithidh ſe ſpionnadh a ghairdein air; ſeadh bithidh e ocrach, agus fàilnichidh a neart; cha'n òl e uiſge, agus bithidh e fann.

13 Sìnidh an ſaor a mach *a* riaghail, comharaichidh ſe e le dath; cuiridh e cumadh air leis an lochdar, agus ſgéithidh ſe e leis a' ghobhalroinn; agus dealbhaidh ſe e do réir coſlais fir, do réir maiſe duine, chum fantuinn anns an fhàrdaich.

14 Gearraidh e sìos craobhan ſeudair dha féin, agus gabhaidh e an giuthas agus an darach, a thaghas e dha féin am meaſg chraobhan na frithe [c]; ſuidhichidh e crann-uinſinn, agus altruimidh an t-uiſge *e.*

15 An ſin bithidh e aig duine chum a loſgadh; agus gabhaidh e dheth, agus garaidh ſe e féin; ſeadh cuiridh e teine *ris,* agus deaſaichidh e aran; ſeadh ni e dia, agus bheir e adhradh *dha*; ni e dealbh ſnaighte dheth, agus cromaidh e sìos dha.

16 Cuid dheth loiſgidh e ſan teine, le cuid *eile* dheth *deaſaichidh agus* ithidh e feoil; ròſtaidh e biadh, agus ſàſuichear e; an ſin garaidh ſe *e féin*, agus their e Aha, rinn mi mo gharadh, dh'aithnich mi an teine.

17 Agus do'n chuid eile dheth ni e dia, *eadhon* dealbh ſnaighte dha féin; cromaidh e sìos dha, agus bheir e adhradh *dha*; agus ni e urnuigh ris, agus their e, Teaſairg mi, oir is tu mo dhia.

18 Cha 'n'eil eòlas aca, ni mò tha tuigſe aca; oir dhruid e an sùilean air chòr as nach faic iad, *agus* an cridheachan air chor as nach tuig iad.

19 Agus cha 'n'eil aon neach a' toirt fainear na chridhe, ni mò tha eòlas no tuigſe aige gu a ràdh, Loiſg mi cuid dheth ſan teine, dheaſaich mi fòs aran air eibhlibh dheth; ròiſt mi feoil agus dh'ith mi, agus an dean mi am fuigheall deth na ghràinealachd? an crom mi mi féin sìos do bhun craoibhe?

20 Tha e a' teachd beo air luaithre; thug cridhe meallta air ſeacharan e, air chor as nach toir e as 'anam féin; ni mò their e, Nach 'eil breug ann am làimh dheis?

21 Cuimhnich na nithe ſo, O Iacob; agus Iſraeil, oir is tu m'òglach; dhealbh mi thu, is òglach dhomhſa thu; O Iſraeil, cha leig mis' air dìchuimhn thu.

22 Dhubh mi as, mar neul, d'eaceairtean; agus mar cheo, do lochdan; pill rium, oir ſhaor mis' thu.

23 Seinnibh, O nèamha, oir thug an Tighearn gu crìch; togaibh iolach, O dhoimhneachda na talmhainn; briſibh a mach le ceileir a ſhléibhtean; O dhoire, agus gach craobh a ta ann; oir ſhaor an Tighearn Iacob, agus ghlòraich ſe e féin ann an Iſrael.

24 Mar ſo deir an Tighearn d'fhearſaoraidh, agus eſan a dhealbh thu o'n bhroinn; Is miſe an Tighearn, cruith-fhear nan uile *nithe*; a ta sìneadh nan nèamhan a mach a'm' aonar; a ta ſgaoileadh na talmhainn leam féin;

a *dìdein, carraig.* Eabh.
b *air an luchd-oibre bithidh rugha gruaidhe.*
c *agus caithidh ſe a neart air craobhan na frithe.*

25 A bheir gu neo-ni comharan
nam mealltairean, agus a chuireas na
fiofaichean air chuthach; a philleas
daoine glice air an ais, agus a thionndadhas an eòlas gu amaideachd.

26 A dhaingnicheas focal a fheirbhifich agus a choimhlionas comhairle a theachdairean; a deir ri Ierufalem, Bithidh tu air d'àiteachadh; agus ri bailtibh Iudah, Bithidh fibh air bhur togail; agus a h-ionada fàfail togaidh mi fuas.

27 A deir ris an doimhne, Bi air do thiormachadh; agus tiormaichidh mi d'aibhnichean:

28 A deir mu Chirus, Is e mo bhuachaille; agus coimhlionaidh e m'uile thoil; ag ràdh ri Ierufalem, Togar thu; agus ris an teampull, Leagar do bhunait[a].

CAIB. XLV.

MAR fo deir an Tighearn r'a aon ungta, ri Cirus air am bheil greim agam air a làimh dheis, a cheannfachadh chinneach roimhe, agus fuafgailidh mi leafraidh righrean; a dh'fhofgladh nan còmhladh roimhe, agus cha bhi na geatachan air an druideadh.

2 Théid mife romhad, agus ni mi na *flighean* fiara dìreach; na còmhlaidhean umha fpealgaidh mi, agus na croinn iarunn brifidh mi nam bloighdibh.

3 Agus bheir mi dhuit ionmhafan an dorchadais, agus taifgeacha nan ionada dìomhair; a chum gu'm bi fios agad gur mife an Tighearn, a ghairm thu air d'ainm, Dia Ifraeil.

4 Air fgàth Iacoib m'òglaich, agus Ifraeil a roghnaich mi, ghairm mi eadhon air d'ainm thu; thug mi floinneadh ort, agus thu aineolach orm.

5 Is mi an Tighearn, agus cha 'n'eil ann ach mi; a mach uamfa cha 'n'eil Dia ann: crioflaichidh mi thu, agus thu aineolach orm.

6 A chum gu'm bi fios aca o éirigh na gréine agus o'n Iar, nach 'eil ann ach mi: is mife an Tighearn, agus cha 'n'eil atharrach[b] ann.

7 Taim a' dealbhadh an t-foluis, agus a' cruthachadh an dorchadais; a' deanamh sìth, agus a' cruthachadh dòlais; tha mife an Tighearn a' deanamh *nan nithe* fo uile.

8 Silibh, O nèamha, o'n àird, agus frafadh na neoil a nuas fìreantachd; fofgladh an talamh, agus gineadh iad flàinte, agus fàfadh fìreantachd a nìos maraon; is mife an Tighearn a chruthaich e.

9 Is anaoibhin dhafan a ni ftrì ris an fhear a rinn e; an t-flige-chreadha ri fear-deilbh na creadha; an abair a' chriadh ris-fan a chumas i, Ciod a tha thu deanamh? no *an abair* an ni a rinn thu, Cha 'n'eil làmhan aigefan a *rinn mi*?

10 Is anaoibhin dha-fan a deir r'a athair, Ciod a ta thu gintinn? no r'a mhàthair, Ciod a ta thu breith?

11 Mar fo deir an Tighearn, Ti naomh Ifraeil, agus efan a dhealbh e, Feòraichibh dhiom nithe ri teachd, mu thimchioll mo chloinne; agus iarraibh orm do thaobh oibre mo làmh[c].

12 Is mife a rinn an talamh, agus chruthaich mi an duine air; is iad mo làmhan a fhìn a mach na nèamhan; agus d'am feachd uile thug mi àithne.

13 Thog mi efan fuas ann am fìreantachd, agus ni mi dìreach 'uile fhlighean; togaidh e mo chathair, agus fuafglaidh e mo bhraighdean; cha'n ann air fon luach, no air fon duaife, deir Tighearn nan fluagh.

14 Mar fo deir an Tighearn, Saothair na h-Eiphit, agus ceannachd Etiopia, agus na Sabéich, daoine àrd ann an cruth; thig iad thairis a d'ionnfuidh, agus bithidh iad leat[d]; leanaidh iad thu; ann an cuibhrichibh thig iad thairis; agus cromaidh iad sìos duit, agus cuiridh iad fuas achuinge riut; *ag ràdh*, Gu deimhin annadfa *tha* Dia, agus cha 'n'eil Dia eile ann.

15 Gu deimhin is Dia thus' a ta 'gad fholuchadh

a *fléidh*. b *aon eile*. c *Am bheil fibh a' cur ceift ormfa mu nithibh ri teachd, do thaobh mo chloinne? no am bheil fibh a' toirt àithne dhomh mu thimchioll oibre mo làmh?* d *buinidh iad dhuit*.

fholuchadh féin, O Dhé Israeil, an Slanuighear.

16 Tha iad air an nàrachadh, tha iad eadhon air am maslachadh, an t-iomlan diubh; cuirear iad maraon gu h-amhluadh, *a tha nan* luchd-deanamh ìodholan.

17 *Ach* faorar Israel anns an Tighearn le faorfa shìorruidh, cha nàraichear sibh, ni mò mhaslaichear sibh, feadh linne na sìorruidheachd.

18 Oir mar so deir an Tighearn, a chruthaich na nèamha; esan, eadhon Dia, a dhealbh an talamh agus a rinn e, esan a dhaingnich e; (cha do chruthaich e gu dìomhain e, dhealbh se e gu bhi air 'àiteachadh;) Is mise an Tighearn, agus cha 'n'eil atharrach [a] ann.

19 Cha do labhair mi ann an uaigneas, ann an ionad dorcha do'n talamh; cha dubhairt mi ri sliochd Iacoib gu dìomhain [b], Iarraibh mi: is mise an Tighearn a labhras ann am' fìreantachd, a dh'fhoillsicheas nithe ceart.

20 Cruinnichibh sibh féin, agus thigibh; dlùthaichibh le chéile, sibhs' a ta air dol as o mheasg nan cinneach: cha 'n'eil eòlas aca-san a ta cur suas fiodha an deilbh shnaighte, agus a' deanamh ùrnuigh ri dia nach urrainn tearnadh.

21 Cuiribh an céill, agus thugaibh am fagus; feadh, gabhadh iad comhairle le chéile; cò a dh'aithris so o chian? a dh'innis e o'n àm ud? nach mise, an Tighearn? agus cha 'n'eil dia tuille ann ach mi; Dia ceart agus Slanuighear; cha 'n'eil ann ach mi.

22 Seallaibh riumsa, agus bithibh air bhur tearnadh, uile iomalla na talmhainn; oir is mise Dia, agus cha 'n'eil atharrach ann.

23 Orm féin mhionnaich mi; chaidh fìrinn a mach as mo bheul; briathar, agus cha phill e air ais; Gu cinnteach dhomhsa lùbaidh gach glùn, mionnaichidh gach teanga.

24 Gu cinnteach, deir *neach*, anns an Tighearn ta agam fìreantachd agus neart; d'a ionnsuidh-san thig iad; bithidh iadsan uile air an nàrachadh air am bheil corruich na aghaidh.

25 Anns an Tighearn fìreanaichear uile sliochd Israeil, agus ni iad uaill.

CAIB. XLVI.

THA Bel a' cromadh sìos, Nebo a' crùbadh; bha an ìodholan air na beathaichibh agus air na h-ainmhidhean; tha bhur n-eallaichean trom, nan cudthrom do'n *ainmhidh* airsnealach.

2 Chrùb iad, chrom iad sìos le chéile; cha b'urrainn iad an eallach a thearnadh; ach chaidh iad féin ann am braighdeanas.

3 Eisdibh rium a thigh Iacoib, agus uile iarmad tighe Israeil; a ghiùlaineadh *leam* o'n bhroinn, a dh'iomchaireadh o'n bholg:

4 Eadhon gu '*ur* sean aois, agus gu '*r* falt liath, is mise féin an ti a ghiùlaineas sibh; is mi a rinn, agus giùlainidh mi, iomchairidh mi, agus tearnaidh mi.

5 Cò e ris an samhluich sibh mi, agus ris an dean sibh comhad mi? agus cò e ris an coimeas sibh mi, a chum gu'm bi sinn cosmhuil?

6 Taomaidh iad òr as a' mhàla, agus tomhaisidh [c] iad airgiod anns a' mheigh; tuarasdalaichidh iad òrcheard, agus ni esan dia dheth; cromaidh iad sìos, feadh ni iad adhradh.

7 Giùlainidh iad e air an guaillibh, iomchairidh iad e, agus cuiridh iad e na àit, agus seasaidh e, as 'ionad cha ghluais e; feadh glaodhaidh *neach* ris, ach cha fhreagair e, agus cha tearairg se e o 'theinn.

8 Cuimhnichibh so, agus bithibh fearail [d]; thugaibh fainear *e* a rìs, a luchd-brifeadh an lagha.

9 Cuimhnichibh na ceud nithe, *a bh'ann* o shean; oir is mise Dia, agus cha 'n'eil atharrach ann; *is mise* Dia, agus cha 'n'eil mo shamhuil [e] ann;

10 A' foillseachadh na crìche o'n tùs, agus o'n aimsir chéin; nan nithe nach 'eil *fathast* deanta; ag ràdh, Seasaidh

a *aon eile*. b *gu fealltach*. c *cothromaichidh*. d *gabhaibh nàire*. e *leth-bhreac*.

Seaſaidh mo chomhairle, agus gach
ni a's àill leam ni mi ;
11 Ag gairm na h-iolair o'n ear,
agus fir mo chomhairle o thìr chéin ;
ſeadh labhair mi, agus bheir mi gu
crìch e ; rùnaich mi, agus coimhlion-
aidh mi e.
12 Eiſdibh rium, ſibhſe[f] aig am
bheil an cridhe rag, a tha fad as o
fhìreantachd.
13 Bheir mis' am fagus m'fhìr-
eantachd-ſa, cha bhi i fad as ; agus
cha dean mo ſhlàinte moille ; agus
bheir mi ſlàinte ann an Sion, do Iſrael
mo ghlòir.

CAIB. XLVII.

THIG a nuas agus dean ſuidhe
anns an duſlach, Oigh-nighean
Bhabiloin ; ſuidh air an làr, cha
'n'eil righ-chaithir ann, a nighean
nan Caldéach ; oir cha ghair iad
maoth agus muirneach dhìot ni's mò.
2 Gabh na clacha-muilinn agus
bleith[a] min ; leig ris *do* chiabhan,
rùiſg do throidh, leig ris do chas[b],
imich trìd nan aibhnichean.
3 Leigear ris do lomnochduigh,
chithear eadhon do nàir ; ni mi diogh-
altas, cha choinnich mi *thu mar*
dhuine[c].
4 Ar fear-ſaoraidh, is e Tighearn
nan ſluagh a's ainm dha, Ti naomh
Iſraeil.
5 Suidh a'd' thoſd, rach a ſteach
ann an dorchadas, O nighean nan
Caldéach ; oir cha'n abrar riut ni's
mò Baintighearn nan rìoghachdan.
6 Bha corruich orm ri mo ſhluagh,
thruaill mi m'oighreachd, agus thug
mi thairis iad do d' làimh ; cha do
nochd thuſa tròcair dhoibh ; air an
aoſda leag thu do chuinge gu trom.
7 Agus thubhairt thu, Bithidh mi
a'm' bhaintighearn gu sìorruidh ; air
chor as nach do leag thu d'aire air na
nithibh ſo ! cha do chuimhnich thu a
chrìoch dheireannach.
8 Uime ſin, cluinn ſo a nis, a bhean
ſhoghmhor, a ta 'nad ſhuidhe gun
umhaill ; a ta 'g ràdh ann ad chridhe,
Ta mi, agus cha 'n'eil ann ach mi ;
cha ſuidh mi a'm' bhantraich, cha'n
aithnich mi call cloinne.
9 Gidheadh thig an dà ni ſo ort gu
h-obann, ann an aon latha, call
cloinne, agus bantrachas ; thig iad
ort nan làn tomhas, air ſon lionmhoir-
eachd do dhruidheachdan, agus iom-
adalachd[d] do ghiſreagan[e].
10 Oir dh'earb thu a'd' aingidh-
eachd ; thubhairt thu, Cha 'n'eil
neach 'gam fhaicinn ; chuir eadhon
do ghliocas agus d'eòlas air ſeacharan
thu ; air chor as gu'n dubhairt thu
ann ad chridhe, *Ta* mi, agus cha
'n'eil ann ach mi.
11 Uime ſin thig olc ort, nach bi
fios agad cia as a dh'éirich e ; agus
tuitidh aimhleas ort, nach bi thu com-
aſach air a thionndadh uait ; agus thig
léir-ſgrios ort gu h-obann, gun thu
'ga mhothachadh.
12 Seas ſuas a nis le do ghiſreag-
aibh, agus le lionmhoireachd do
dhruidheachdan, anns an do ſhaoithr-
ich thu o d'òige ; ma's e as gur urrainn
thu buannachd fhaghail, ma's e as
gu'm feud thu buadhachadh.
13 Tha thu air do ſgìtheachadh
ann an lionmhoireachd do chomhair-
lean. Seaſadh na ſpeuradairean ſuas,
luchd-amharc nan reultan, iadſan a
ta ri fioſachd gach mìos ; agus tearn-
adh iad thu o *na nithibh* a tha gu
teachd ort.
14 Feuch bithidh iad mar aſbhuain,
loiſgidh an teine ſuas iad ; cha tear-
uinn iad an anama féin o chumhachd
na laſrach ; cha'*n fhàgar ſiu* eibhleag
gu neach a gharadh, no teine gu
ſuidhe làimh ris.
15 Is amhuil a bhitheas dhuit a
mhuinntir leis an do ſhaoithrich thu,
iadſan ris an robh gnothach agad o d'
òige ; tionndaidhidh gach aon a leth-
taobh gu a ghnothach féin ; cha *bhi*
d'fhear-tearnaidh ann.

CAIB. XLVIII.

CLUINNIBH ſo, O thigh Iacoib,
ſibhſe ta air bhur n'ainmeach-
adh air Iſrael ; agus a thàinig a mach
o uiſgeachaibh Iudah ; a ta mionnach-

adh

a *meil.* b *ſhliaſad.* c *cha ghabh mi duine mar eadar-mheadhonair.*
d *lionmhoireachd, iomarcachd.* e *gheaſadoireachd.*

adh air ainm an Tighearna, agus a' deanamh luaidh air Dia Israeil; ach cha'n ann ann am firinn no ann an ionracas.

2 Oir tha iad 'gan ainmeachadh féin air a' Chathair naomha, agus a' leigeil an taice ri Dia Israeil; is e Tighearn nan sluagh a's ainm dha.

3 Dh'fhoillsich mi na ceud nithe o thùs; agus om' bheul chaidh iad a mach, agus chuir mi an céill iad; ann an ath-ghoirid rinn mi *iad*, agus thàinig iad gu crìch.

4 A chionn gu'n robh fios agam gu'n robh thu reasgach, agus *gu'n robh* do mhuineal mar fhèith iaruinn, agus d'eudann na umha.

5 Uime sin dh'fhoillsich mi dhuit *iad* o'n tùs; mu'n d'thàinig iad gu crìch, dh'innis mi dhuit *iad;* a chum as nach abradh tu, Is e m'iodhol a thug mu'n cuairt iad; is iad mo dhealbh snaighte, agus mo dhealbh leaghta, a dh'orduich iad.

6 Chuala tu *so*, faic e air a choimhlionadh; agus nach cuir sibhse an céill *e?* Innseam dhuit nithe nuadha o'n àm so, a ghleidheadh dìomhair, agus air nach robh fios agad.

7 Tha iad air an tabhairt gu crìch a nis, agus cha b'ann o shean; agus roimh an là so cha chuala tu iad; a chum as nach abradh tu, Feuch, bha fios agam orra.

8 Seadh, cha chuala tu, seadh, cha b'aithne dhuit; seadh, o'n toiseach cha d'fhosgladh do chluas; oir bha fios agam gu'm buineadh tu gu ro chealgach, agus *gu'm* b'e Fear-easaontais a b'ainm dhuit o'n bhroinn.

9 Air sgàth m'ainme cuiridh mi dàil ann am chorruich, agus air son mo chliù cumaidh mi air a h-ais i uaitse, air chor as nach gearr mi as thu.

10 Feuch ghlan mi thu, ach cha b'ann le h-airgiod; thagh mi thu ann an àmhuinn an àmhghair [a].

11 Air mo sgàth, air mo sgàth féin, ni mi e; oir cionnas a bhiodh *m'ainm* air a mhaslachadh? Agus mo ghlòir cha tabhair mi do neach eile.

12 Eisd rium, O Iacoib, agus Israeil, a ghairm mi, *Is* mi Esan, *is* mi an ceud neach, *is* mi fòs an neach deireannach.

13 Is i mo làmh a leag stéidh na talmhainn, agus réis mo dheas làimhe a thomhais na nèamha; bheir mi gairm dhoibh, seasaidh iad suas le chéile.

14 Cruinnichibh uile sibh féin le chéile, agus eisdibh; cò nam [b] measg a dh'fhoillsich na nithe so? cuiridh esan a's ionmhuin leis an Tighearn an gnìomh a thoil air Babilon, agus *bithidh* a ghairdean air na Caldéich.

15 Mise, mise *féin* labhair; seadh ghairm mi e, threòruich mi e, agus soirbhichidh a shlighe.

16 Dlùthaichibh rium, *agus* cluinnibh so; o'n toiseach cha do labhair mi ann an uaigneas; o'n àm an do thachair e, *bha* mis' an sin [c]; agus a nis chuir an Tighearn Iehobhah mach mise, agus a Spiorad.

17 Mar so deir an Tighearn, d'Fhear-saoraidh, Ti naomh Israeil; Is mis' an Tighearn do Dhia, a tha teagasg dhuit ciod a thig gu d' bhuannachd; a tha 'gad stiùradh anns an t-slighe air an imich thu.

18 O gu'n tugadh tu fainear m'àitheanta-sa! an sin bhiodh do shìth mar abhainn, agus d'fhìreantachd mar thonna na fairge.

19 Agus bhiodh do shiol mar a' ghaineamh, agus sliochd do chuim mar a meanbh-chlocha; cha bhiodh d'ainm air a ghearradh as, no air a sgrios as mo làthair.

20 Rachaibh a mach o Bhabilon; teichibh o thìr nan Caldéach; le guth gairdeachais innsibh, cuiribh so an céill; sgaoilibh an sgeul gu iomall na talmhainn; abraibh, Shaor an Tighearn 'òglach féin Iacob.

21 Agus cha robh tart orra anns na fàsaichibh trìd an d'thug thu orra siubhal; thug e air uisge sruthadh dhoibh as a' charraig; seadh sgoilt e a' chreag, agus bhrùchd an t-uisge mach.

22 Cha 'n'eil sìth, deir an Tighearn, do'n aingidh.

a *fuirneis na teinn.* b *'n'ur.* c *roimh dhomh bhi'n sin bha mi ann.*

CAIB. XLIX.

EISDIBH, O eileana, riumſa; agus thugaibh aire, a ſhlòigh, o chéin; o'n bhroinn ghairm an Tighearn mi; o chom mo mhàthar thug e luadh air m'ainm.

2 Agus rinn e mo bheul mar chlaidheamh geur, ann an ſgàil a làimhe dh'fholaich e mi; feadh rinn e mi a'm' ghath liomhta; thaiſg e mi ann a dhorlach [a].

3 Agus thubhairt e rium, Is tu m'òglach, O Iſraeil, anns am bi mi air mo ghlòrachadh.

4 Agus thubhairt miſe, Shaoithrich mi gu dìomhain; air ſon neo-ni, agus air ſon dìomhanais, chaith mi mo neart; *ach* gu cinnteach *tha* mo bhreth maille ris an Tighearn, agus m'obair [b] maille ri mo Dhia.

5 Agus a nis *mar ſo* deir an Tighearn, (a dhealbh mi o'n bhroinn *gu bhi* a'm' òglach dha, a thabhairt Iacoib air ais d'a ionnſuidh, agus a chum gu'm bi Iſrael air a chruinneachadh thuige; uime ſin [c] bitheam glòrmhor ann an sùilibh an Tighearna, agus bithidh mo Dhia na neart dhomh;

6 Mar ſo deir e,) Is ni ſuarach dhuit gu'm bitheadh tu a'd' òglach dhomhſa, a thogail ſuas gheugan Iacoib, agus a dh'aiſig mheangana [d] Iſraeil; bheir mi thu fòs mar ſholus do na cinnich, gu bhi a'd' ſhlàinte uamſa gu iomall na talmhainn.

7 Mar ſo deir an Tighearn, fearſaoraidh Iſraeil, a Thi naomha; risſan a ta air a dhi-meas le daoinibh, risſan d'an do ghabh an cinneach gràin; ri ſeirbhiſeach an luchd-riaghlaidh; *a* chi righrean, agus éiridh iad ſuas; uachdarain, agus ni iad adhradh; air ſon an Tighearna a ta dìleas, *agus* Ti naomha Iſraeil a roghnaich thu.

8 Mar ſo deir an Tighearn, Ann an àm taitneach chuala mi thu, agus ann an là na ſlàinte chuidich mi thu; agus gleidhidh mi thu, agus bheir mi thu mar choimhcheangal do'n t-ſluagh; a dhaingneachadh na tìre, agus a thabhairt air na h-oighreachdaibh fàſail bhi air an ſealbhachadh;

9 A ràdh ris a' mhuinntir a ta ceangailte, Rachaibh a mach; *agus* riu-ſan a ta ann an dorchadas, Thigibh am follas: Beathaichear iad air na ſligheachaibh, agus anns na h-uile ionadaibh àrda ni iad ionaltradh.

10 Cha bhi ocras no tart orra, ni mò bhuaileas an teas no a' ghrian iad; oir ni eſan aig am bheil iochd orra an ſtiùradh, agus treòruichidh ſe iad a chum nan ſruthan uiſge.

11 Agus ni mi mo ſhléibhtean uile nan ſlighe chòmhnaird; agus togar ſuas mo ròide mòra.

12 Feuch, thig iad ſo o chian; agus feuch, iad ſo o thuath agus o'n iar; agus iad ſo o thìr Shinim.

13 Seinnibh gu h-àrd O nèamha, agus dean gairdeachas O thalamh; agus togaibh iolach O ſhléibhtean; oir thug an Tighearn comhfhurtachd d'a ſhluagh, agus gabhaidh e truas d'a mhuinntir a ta fo àmhghar.

14 Ach thubhairt Sion, Thréig an Tighearn mi, agus rinn mo Thighearn mo dhì-chuimhneachadh.

15 An di-chuimhnich màthair a leanabh cìche, gun iochd a dheanamh air mac a cuim? Feudaidh eadhon iadſan di-chuimhneachadh, ach cha di-chuimhnich mis' thuſa.

16 Feuch air dearnaibh *mo* làmh ghearr mi thu; tha do bhallachan a'm' fhianuis an còmhnuidh.

17 Ni do chlann deifir; ſiùbhlaidh iadſan a mach aſad, a bha 'gad ſgrios agus 'gad chur fàs.

18 Tog ſuas do ſhùilean, agus faic; tha iad ſo uile air an cruinneachadh le chéile, tha iad a' teachd do d' ionnſuidh. *Mar* is beo miſe, deir an Tighearn, ſgeadaichidh tu thu féin leo uile, mar le culaidh rìomhaich; agus ceanglaidh tu iad *umad*, mar a ni bean-bainnſe a ſeudan.

19 Oir d'ionadan fàſail agus fàsdrach, agus fearann do léir-ſgrios, eadhon a nis bithidh e air a dhomhlachadh le luchd-àiteachaidh; agus ſiubhlaidh iadſan fad air falbh, a bha 'gad ſhlugadh ſuas.

20 Their a' chlann, a ſgaradh uait, fathaſt ann ad chluaſaibh, Tha an t-ionad ſo ro-chumhang air mo ſhon; thoir

a *bholg-ſhaighead.* b *duais m'oibre.* c *Ged nach bi Iſrael air a chruinneachadh, gidheadh.* d *fhailleana.*

thoir àit dhomh a chum gu'n gabh mi còmhnuidh.

21 An sin their thu ann ad chridhe, Cò a ghin dhomh iad so? oir dh'fhàgadh mi gun chloinn agus a'm' aonar, a'm' fhògarach agus air m'fhuadachadh; agus cò a dh'àraich iad so? Feuch, dh'fhàgadh mi a'm' aonar; iad so, c'àit *an robh* iad?

22 Mar so deir an Tighearn Iehobhah, Feuch, togaidh mise mo làmh ris na cinnich, agus ris na slòigh cuiridh mi suas mo bhratach; agus bheir iad do mhic nan uchd, agus giùlainear do nigheana air an guaillibh.

23 Agus bithidh righrean nan oideachan-altruim dhuit, agus am banrighinnean nam màthraichean-altruim dhuit; sleuchdaidh iad sìos duit, le'*n* aghaidh ris an làr, agus imlichidh iad duslach do chas; agus aithnichidh tu gur mise an Tighearn, agus cha nàraichear iadsan a chuireas an dòchas annamsa [a].

24 An dthoirear a' chreach o'n fhear làidir, no an leigear a' chobhartach dhligheach as?

25 Ach mar so deir an Tighearn, Bheirear eadhon cobhartach an fhir làidir uaith, agus théid creach an fhir uabhasaich as; oir gleacaidh mi rissan a ghleacas riut, agus do chlann teamaidh mi.

26 Agus bheir mi air do luchdsàruchaidh am feoil féin itheadh; agus cuiridh mi air mhisg iad le'm fuil féin, mar le fìon nuadh; agus bithidh fios aig gach uile fheoil gur mise an Tighearn do Shlanuighear, agus gur e d'fhear-saoraidh Ti cumhachdach Iacoib.

CAIB. L.

MAR so deir an Tighearn, C'àit am bheil litir-dhealaich 'ur màthar, a chuir mise uam? No cò e am measg mo luchd-fiacha ris an do reic mi sibh? Feuch, air son 'ur dobheartan tha sibh air bhur reiceadh; agus air son 'ur n-ea-ceairtean chuireadh air falbh 'ur màthair.

2 C'ar son, an uair a thàinig mi, nach *robh* aon neach ann; an uair a ghairm mi, nach d'thug aon neach freagradh? Am bheil mo làmh air fàs co ro-ghairid as nach urradh mi saoradh? agus am bheil mi gun chumhachd agam gu tearnadh? Feuch, le m'achmhasan tiormaichidh mi an fhairge, ni mi na h-aibhnichean nam fàsach; *tha* 'n iasg a lobhadh dh'easbhuidh uisge, agus a' bàsachadh le tart.

3 Eideam na nèamha le dubhdhorchadas, agus cuiridh mi eudachsaic orra mar chòmhdach.

4 Thug an Tighearn Iehobhah dhomhsa teanga nan daoine foghluimte, a chum gu'm b'aithne dhomh focal a labhairt ann an deadh àm ris an *neach a ta* airsnealach: tha e dùsgadh, maduinn an déigh maidne; tha e dùsgadh mo chluaise, gu éisdeachd mar *a ni* foghlmuine [b].

5 Dh'fhosgail an Tighearn Iehobhah mo chluas, agus cha robh mi ceannairceach; ni mò thionndaidh mi air m'ais.

6 Thug mi mo dhruim do'n luchdbualaidh, agus mo ghialan dhoibhsan a spìon am fionna [c]; cha d'fholuich mi mo ghnùis o nàire agus o shile.

7 Oir is e an Tighearn Iehobhah fear mo chuideachaidh, air an aobhar sin cha chuirear mi gu h-amhluadh; uime sin shuidhich mi mo ghnùis mar chloich-theine, agus tha fios agam nach nàraichear mi.

8 Tha esan am fagus a dh'fhìreanaicheas mi; cò esan a ni strì rium? Seasamaid a mach le chéile; co e m'eascaraid [d]? thigeadh e dlùth a'm' chòdhail.

9 Feuch, is e an Tighearn Iehobhah m'fhear-cuidich, cò a dhìteas mi? Feuch, fàsaidh iad uile sean mar thrusgan; ithidh an leòmann suas iad.

10 Cò e 'n'ur measg air am bheil eagal an Tighearna, a ta 'g éisdeachd ri guth a sheirbhisich, a ta siubhal ann an dorchadas, agus aig nach 'eil solus; earbadh e as ainm an Tighearna, agus leigeadh e a thaice r'a Dhia.

11 Feuch,

a *a dh'fheitheas ormsa.* b *iadsan a ta foghlum.* c *do'n luchd-fionnaidh.* d *fear m'agairt.*

11 Feuch, ſibhſe uil' a ta fadadh
teine, a ta 'g'ur cuairteachadh féin
le ſradaibh; ſiubhlaibh ann an ſolus
bhur teine, agus nan ſradan a las
ſibh; ſo gheibh ſibh o m' làimh-ſa,
luidhibh ſibh sìos ann an doilghios.

CAIB. LI.

EISDIBH rium, ſibhſe ta leantuinn
ſìreantachd, ſibhſe ta 'g iarr-
uidh an Tighearna; ſeallaibh ris a'
charraig *o'n* do ghearradh a mach
ſibh, agus ri ſlochd na h-uamha *o'n* do
chladhaicheadh ſibh.
2 Seallaibh air Abraham 'ur n-ath-
air, agus air Sarah a rug ſibh; oir
ghairm mis' e na aonar, agus bhean-
nuich mi e, agus rinn mi lìonmhor e.
3 Oir bheir an Tighearn comh-
fhurtachd do Shion, bheir e comh-
fhurtachd d'a h-ionadaibh fàſail uile;
agus ni e a faſach mar Eden, agus a di-
threabh mar ghàradh an Tighearna;
gheibhear aoibhneas agus ſubhachas
innte, breith buidheachais agus fonn
ciuil.
4 Eiſdibh rium O mo ſhluagh, a-
gus thugaibh aire dhomh O mo chin-
neach; oir thig reachd a mach uam,
agus foillſichidh mi mo bhreathanais
chum ſoluis do na ſlòigh.
5 Tha m'fhìreantachd am fagus,
tha mo ſhlàinte air dol a mach, agus
ni mo ghàirdean breitheanas air na
ſineachaibh; feithidh na h-eileana
rium, agus ann mo ghairdean cuiridh
iad an dòchas.
6 Togaibh 'ur sùilean ſuas ris na
nèamhaibh, agus amhaircibh air an
talamh ſhìos; oir ſgaoilear o chéile
na nèamha mar dheataich, agus fàſ-
aidh an talamh ſean mar thruſgan;
agus baſaichidh a luchd-àiteachaidh
air an amhluadh cheudna [a]; ach
mairidh mo ſhlàinte-ſa gu sìorruidh,
agus cha dthéid m'fhìreantachd air
chùl.
7 Eiſdibh rium, ſibhſe ta eòlach
air fìreantachd, a ſhluagh aig am
bheil mo lagh ann 'ur cridhe; na
biodh eagal oirbh roimh mhaſladh
dhaoine, agus na gabhaibh geilt roimh
an càineadh.
8 Oir ithidh an leòmann iad mar
thruſgan, agus ithidh a' chnuimh iad
mar olainn; ach mairidh m'fhìreant-
achd-ſa gu sìorruidh, agus mo ſhlàinte
gu linn nan linntean.
9 Dùiſg, dùiſg, cuir umad neart [b],
O ghàirdein an Tighearna; dùiſg,
mar anns na laithibh o ſhean, anns
na h-aimſiribh o chian. Nach tuſa a
ghearr Rahab, a lot an dragon?
10 Nach tuſa a thiormaich an
fhairge, uiſgeacha na doimhne mòire?
a rinn doimhneachdan na fairge nan
ſlighe do'n mhuinntir ſhaorta gu dol
thairis?
11 Mar ſo pillidh muinntir ſhaorta
an Tighearna, agus thig iad gu Sion
le h-iolaich; agus *bithidh* aoibhneas
bith-bhuan air an ceann; gheibh iad
aoibhneas agus subhachas, *agus* teich-
idh mulad agus caoidh air falbh.
12 Is miſe, *eadhon* miſe, an ti a
bheir dhuibh comhfhurtachd: cò
thuſa gu'm biodh eagal ort roimh
dhuine *a* gheibh bàs, agus roimh
mhac an duine *a* nìthear *mar* am
feur?
13 Agus gu'n di-chuimhnicheadh
tu an Tighearn do Chruithfhear, a
ſhìn a mach na nèamha, agus a leag
ſtéidh na talmhainn; agus gu'm
biodh ſior eagal ort gach là, air ſon cor-
ruich an fhir-ſhàruchaidh, mar gu'm
biodh e ullamh gu ſgrios? agus c'àit
am bheil corruich an fhir-ſhàruch-
aidh?
14 Tha an ciomach a' deanamh
deiſir gu bhi air 'fhuaſgladh, a chum
nach faigh e bàs anns an t-ſlochd, a-
gus nach fàilnich 'aran.
15 Oir is miſe an Tighearn do Dhia,
a ni ciuin an fhairge, an uair a
bheucas a tonna, is e Tighearn nan
ſluagh a's ainm dha.
16 Agus chuir miſe mo bhriathran
ann ad bheul, agus le ſgàile mo
làimhe dh'fholuich mi thu; a ſhuidh-
eachadh nan nèamha, agus a leagadh
bunaite na talmhainn; agus a ràdh
ri Sion, Is tu mo ſhluagh.
17 Dùiſg, duiſg, éirich ſuas o Ie-
ruſalem, a dh'òl [c], o làimh an Tigh-
earna, cuach a chorruich; dh'òl thu;
dh'fhàiſg thu as, deiſgeanan cuaiche
na ball-chrith.

18 Cha

a *mar chnuimhaig.* b *cudaich thu féin le neart.* c *dh'òil.*

18 Cha 'n'eil fear-ſtiùraidh aice,
am meaſg nan uile mhac *a* rug i;
cha 'n'eil *aon* a ghlacas air làimh i,
am meaſg nan uile mhac *a* dh'altruim
i.

19 Thachair an dà ni ſo dhuit; cò a
ni caoidh air do ſhon? creachadh [a]
agus milleadh, a' ghort agus an
claidheamh; cò a bheir [b] dhuit comh-
fhurtachd?

20 Tha do mhic air fannachadh,
tha iad air tuiteam sìos aig ceann
gach ſràide, mar tharbh fiadhaich
ann an lion; lìonadh iad làn do chor-
ruich an Tighearna, do achmhaſan do
Dhé.

21 Air an aobhar ſin, cluinn ſo a
nis, O thus' *a ta* fuidh àmhghar; a-
gus air mhiſg, ach cha 'n ann le fion.

22 Mar ſo deir do Thighearn Ie-
hobhah, agus do Dhia a thagras cùis
a ſhluaigh; Feuch, thug mi as do
làimh cuach na ball-chrith; deiſg-
eanan cuaiche mo chorruich; cha'n
òl thu dh'i ni's mò.

23 Ach cuiridh mi i ann an làimh
luchd do ſhàruchaidh, a ta 'g ràdh ri
d'anam, Crom sìos, a chum gu'n
dthéid ſinn thairis; agus leag thu do
chorp sìos mar an làr, agus mar an
t-ſràid dhoibhſan a ta gabhail ſeach-
ad.

CAIB. LII.

DUISG, dùiſg, cuir umad do neart,
O Shion, cuir umad do chul-
aidh ſgiamhach, O Ieruſalem, a Chath-
air naomha; oir cha dthéid an neo-
thimchioll-ghearrta agus an neo-ghlan
a ſteach annad ni's mò.

2 Crath thu féin o'n duſlach, rach
ſuas, dean ſuidhe, O Ieruſalem; ſuaſg-
ail thu féin o cheanglaichibh do
mhuineil, O nighean Shioin a ta ſo
dhaorſa [c].

3 Oir mar ſo deir an Tighearn, Air
neo-ni reiceadh ſibh, agus cha'n ann
le h-airgiod a dh'fhuaſgailear ſibh.

4 Oir mar ſo deir an Tighearn Ie-
hohah, Chaidh mo ſhluagh sìos do'n
Eiphit an toiſeach, gu bhi air chuairt
an ſin; agus rinn an t-Aſirianach,
mu dheireadh [d], an sàruchadh.

5 Agus a nis, ciod a th'agamſa an
ſo, deir an Tighearn, o thugadh air
falbh mo ſhluagh air neo-ni? tha an
luchd-riaghlaidh toirt orra caoineadh,
deir an Tighearn; agus tha m'ainm-
ſa an còmhnuidh, gach aon là, a'
faghail toibheim.

6 Air an aobhar ſin, bithidh eòlas
aig mo ſhluagh air m'ainm; air an
aobhar ſin *bithidh ſior aca*, air an là
ſin, gur mis' an ti a ta labhairt; feuch,
is mis' *a th'ann*.

7 Cia maiſeach air na ſléibhtibh
caſan an teachdair aoibhin, a ta 'g
éigheach sìth; teachdair an deadh
ſgéil, a ta 'g éigheach ſlàinte; a ta
'g ràdh ri Sion, Is e do Dhia a's righ
ann!

8 Togaidh do luchd-faire *an* guth;
le'*n* guth ni iad iolach le chéile; oir
chi iad aghaidh ri h-aghaidh [e], an
uair a bheir an Tighearn Sion air a
h-ais.

9 Briſibh a mach le gairdeachas,
deanaibh ceòl [f] le chéile, O fhàſaich-
ean Ieruſaleim; oir thug an Tighearn
comhfhurtachd d'a ſhluagh, ſhaor e
Ieruſalem.

10 Leig an Tighearn ris a ghaird-
ean naomha ann an sùilibh nan uile
chinneach; agus chi uile iomalla na
talmhainn ſlàinte ar Dé-ne.

11 Imichibh, imichibh, rachaibh
a mach as ſin; na beanaibh ri *ni* neo-
ghlan; rachaibh a mach as a meadh-
on; bithibhſe glan, a ta giùlan ſhoith-
eachan an Tighearna.

12 Oir cha'n ann le cabhaig a
théid ſibh a mach, agus cha'n ann le
teicheadh a ſhiùbhlas ſibh; oir gluaiſ-
idh an Tighearn romhaibh, agus
cuairtichidh Dia Iſraeil ſibh *o'n taobh
chùil*.

13 Feuch, ni m'òglach gu glic;
bithidh e air a thogail ſuas, agus air
'àrdachadh, agus bithidh e ro àrd.

14 Mar a ghabh mòran iongantas
riut [g], (is co mòr a' mhi mhaiſe a
rinneadh air 'aghaidh, ſeach *aon*
duine; agus air a dhreach, ſeach clann
daoine;)

a *fàſachadh.* b *cò leis a bheir mi.* c *a dhaor-nighean Shioin.*
d *gun leiſgeul.* e *sùil ri sùil.* Eabh. f *togaibh rann.* g *ris.*

15 Mar sin crathaidh e *uisge*[a] air mòran chinneach; na fhianuis druididh righre am beoil; oir an ni nach do chuireadh an céill doibh, chi iad; agus an ni nach cual iad, bheir iad fainear.

CAIB. LIII.

CO a chreid ar teachdaireachd? agus cò do'n robh gairdean an Tighearn air 'fhoillseachadh?

2 Oir fàsaidh e suas mar fhaillean na làthair, agus mar fhreumh a talamh tioram; cha 'n'eil sgèimh no grinneas aige, gu'n amhairceamaid air; ni mò tha maise[b] aige, gu'n iarramaid e.

3 Tha e air a dhìmeas[c], agus air a chur air chùl le daoinibh[d]; na dhuine dhoilghiosean, agus eòlach air bròn; agus mar neach a dh'fholuicheas 'aghaidh uainn, tha e air a dhimeas, agus cha 'n'eil suim[e] againn dheth.

4 Gu deimhin ar n-anmhuinneachd ghiùlain e, agus ar doilghiosan dh'iomchair e; ach shaoil sinne gu'n robh e air a bhualadh, air a smachdachadh le Dia, agus air a chlaoidheadh.

5 Ach lotadh e air son ar peacaidhne, bhrùthadh e air son ar n-aingidheachdan; leagadh air-san smachdachadh ar sìth, agus le a chreuchdaibhsan shlànuicheadh sinne.

6 Chaidh sinn uile, mar chaoraich, air seacharan; thionndaidh sinn, gach aon 'ga shlighe féin; agus leag an Tighearn air-san aingidheachd gach aoin dinn[f].

7 Shàruicheadh e, agus rinneadh ainneart air[g], gidheadh cha d'fhosgail e a bheul; thugadh e mar uan chum a' chasgraidh, agus mar chaor a bhios balbh an làthair a luchd-lomairt, mar sin cha d'fhosgail e a bheul.

8 O fhoirneart agus o bhreitheanas thugadh air falbh e; agus a ghinealach cò a chuireas an céill? oir ghearradh as e o thìr nam beo; air son eusaontais mo shluaigh-sa bha e air a throm-bhualadh.

9 Agus dh'orduicheadh 'uaigh maille ris na h-aingidh, agus maille ri duine saibhir na bhàs; air son nach d'rinn e eucoir, agus nach robh cealg na bheul.

10 Ach b'i toil an Tighearna a bhruthadh; chuir e fo àmhghar e; an uair a ni thu 'anam na ìobairt-réitich, chi e sliochd, sìnear a laithean; agus soirbhichidh rùn an Tighearna na làimh.

11 Do shaothair 'anama chi e, *agus* bithidh e toilichte[h]. Le eòlas air-san ni m'òglach fireanach mòran fhìreanachadh[i]; oir giùlainidh e an ea-ceartean.

12 Air an aobhar sin, roinnidh mi dha cuibhrionn maille ris a' mhòran, agus roinnidh e a' chreach maille ris na cumhachdaich; a chionn gu'n do dhòirt e mach 'anam gu bàs; agus gu'n robh e air 'àireamh am measg nan ciontach; agus ghiùlain e peacadh mhòrain, agus rinn e eadarghuidhe air son nan ciontach.

CAIB. LIV.

SEINN, a bhean aimrid[j] nach d'rug *clann*; seinn gu luadhghaireach, agus dean iolach àrd, thusa nach robh ri saothair-chloinne; oir is lìonmhoire clann na mnà aonaranaich, na clann na mnà pòsda, deir an Tighearn.

2 Leudaich ionad do phàilliuin, agus sgaoileadh iad a mach bratachomhduich do bhùthan; na caomhain, leig am fad do chùird, agus daingnich do chuaillean.

3 Oir air an làimh dheis, agus chlì, brisidh tu mach; agus sealbhaichidh do shliochd na cinnich, agus àitichidh iad na caithrichean fàsail.

4 Na gabh eagal, oir cha mhaslaichear thu; na gabh nàire, oir cha chuirear thu gu h-amhluadh; oir dichuimhnichidh tu nàire d'òige, agus masladh do bhantrachais cha chuimhnich thu ni's mò.

5 Oir is e d'fhear-pòsda do Chruithfhear, 'se Tighearn nan sluagh a's ainm dha; agus is e d'fhear-saoraidh

Ti

a *ni e crath-ghlanadh.* Faic Esek. 36. 25. b *boidhchead.* c *chur suarach.* d *air a sgaradh o dhaoinibh.* e *ciatfhaidh.* f *againn.* g *Thagradh na fiachan, agus rinneadh esan freagarach.* h *sàsuichte.* i *Ni-fhìreanaichidh m'òglach-sa mòran.* j *sheasg.*

Ti naomh Ifraeil, goirear Dia an
domhain uile mar ainm ris.
6 Oir mar mhnaoi air a tréigfinn,
agus fo àmhghar na fpiorad, ghairm
an Tighearn thu, agus mar mhnaoi
a phòfadh na h-òige, a chionn gu'n
do chuireadh air falbh thu, deir an
Tighearn.
7 Rè tiota bhig, dhealaich mi
riut; ach le mòr iochd cruinnichidh
mi thu.
8 Ann an corruich bhig, dh'fhol-
uich mi mo ghnùis car tiota uait; ach
le caoimhneas siorruidh ni mi tròcair
ort; deir an Tighearn d'fhear-faor-
uidh.
9 Oir tha fo *mar* uifgeachaibh No-
ah dhomh; mar a mhionnuich mi nach
rachadh uifgeacha Noah tuille thar
an talamh, is amhuil a mhionnuich
mi nach bithinn ann an corruich riut,
agus nach dthoirinn achmhafan duit.
10 Oir dealaichidh na fléibhtean
ri'm bunait [a], agus atharraichear na
beanntan *as an àit*; ach cha [b] deal-
aich mo chaoimhneas riutfa, agus
cha'n atharraichear coimhcheangal mo
fhìth, deir an Tighearn aig am bheil
truas dhiot.
11 O thus' *a ta* ainnifeach, air do
luafgadh leis an doininn, agus gun
chomhfhurtachd agad; feuch leagaidh
mi do chlachan ann an dath fgiamh-
ach, agus fuidhichidh mi do bhunaite
le clachaibh faphir.
12 Agus ni mi d'uinneagan [c] do
chlachaibh rubi [d], agus do gheatach-
an do charbuncalaibh, agus d'uile iom-
all do chlachaibh rìomhach.
13 Agus *bithidh* do chlann uile air
an teagafg leis an Tighearn; agus is
mòr *a bhios* sìth do chloinne.
14 Ann am fìreantachd focraich-
ear thu; bithidh tu fada o fhàruch-
adh, ionnas nach gabh thu eagal;
agus o uabhas, ionnas nach dthig e
dlù dhuit.
15 Feuch bithidh cruinneachadh
gu deimhin ann, ach cha'n ann leam-
fa; cò fam bith [e] a chruinnicheas
a'd' aghaidh, tuitidh e air do fgàth.
16 Feuch is mis' a chruthaich an
gobha ta séideadh fuas nan eibhlean
fan teine, agus a' toirt a mach ac-
fuinn a chum 'oibre; agus is mi a
chruthaich am milltear [f] chum cur fàs.
17 Cha foirbhich inneal fam bith a
dhealbhar a'd' aghaidh; agus gach
teanga a dh'éireas riut am breith-
eanas, dìtidh tu. Is i fo oighreachd
fheirbhifeach an Tighearna; agus *tha*
am fìreantachd uamfa, deir an Tigh-
earn.

CAIB. LV.

HO! gach neach air am bheil
tart, thigibhfe chum nan uifg-
eacha; agus *efan* aig nach 'eil air-
giod, thigibh, ceannuichibh agus ith-
ibh; feadh thigibh, ceannuichibh,
gun airgiod agus gun luach, fion agus
bainne.
2 C'ar fon a ta fibh a' caitheamh
airgid air *ni* nach aran? agus bhur
faothair [g] air ni nach fàfuich? Eifd-
ibh le deadh aire riumfa, agus ithibh
an ni a ta maith; agus gabhadh 'ur
n-anam toil-inntinn ann an cuilm
fhòghmhoir [h].
3 Aomaibh 'ur cluas, agus thigibh
do m'ionnfuidh-fa; éifdibh, agus
mairidh 'ur n-anam beo; agus ni mi
ruibh coimhcheangal sìorruidh, *eadhon*
tròcairean cinnteach Dhaibhidh.
4 Feuch, thug mi e mar fhianuis
do na cinnich, na cheann-iùil agus na
uachdaran do na flòigh.
5 Feuch, gairmidh tu cinneach
nach b'aithne dhuit; agus cinnich do
nach b'aithne thu, ruithidh iad a d'
ionnfuidh; air fgàth an Tighearna do
Dhé, agus air fon Ti naomha Ifraeil,
oir ghlòraich e thu.
6 Iarraibh an Tighearn, am feadh
a ta e r'a fhaotainn; gairmibh air,
am feadh a ta e am fagus.
7 Tréigeadh an t-aingidh a fhlighe,
agus an duine eacorach a fmuainte;
agus pilleadh e ris an Tighearn, agus
nochdaidh e tròcair dha; agus ri ar
Dia-ne, oir bheir e maitheanas gu
pailt.
8 Oir cha'*n iad* mo fmuainte-fa
bhur fmuainte-fa, ni mò *is iad* 'ur
flighean-fa mo fhlighean-fa, deir an
Tighearn.

a *théid na fléibhtean as an àit.* b *mu'n.* c *do bhaid-ealan.* d *agataibh.* e *cia b'e.* f *fear-millidh.* g *faoithreach.* h *reambrachd.* Eabh.

Tighearn.
9 Oir *mar* a ta na nèamha àrd feach
an talamh; mar fin tha mo fhlighean-
fa àrd feach bhur flighean-fa, agus mo
fmuainte-fa feach bhur fmuainte-fa.
10 Oir mar a thig an t-uifg' a nuas,
agus an fneachda o nèamh, agus nach
pill e an fin, ach gu'n uifgich e an
talamh, agus gu'n dthoir e air fàs
torrach, agus toradh thabhairt uaith;
a chum gu'n tabhair e sìol dha-fan a
chuireas, agus aran dha-fan a dh'ith-
eas;
11 Is amhuil a bhios m'fhocal-fa
a théid a mach as mo bheul; cha
phill e do m'ionnfuidh gun tairbhe,
ach coimh-lionaidh e an ni a's àill
leam, agus bheir e gu buil *an ni* mu'n
do chuir mi mach e.
12 Oir le h-aoibhneas théid fibh
a mach, agus le sìth ftiùrar fibh air
'ur n-aghaidh; togaidh na fléibhtean
agus na cnuic romhaibh àrd iolach,
agus uile chraobha na machrach buail-
idh am bafan.
13 An àit droighne fàfaidh an
giuthas, agus an àit drife fàfaidh am
miortal; agus bithidh e do'n Tigh-
earn mar ainm, mar chomhara bith-
bhuan, nach cuirear as 'àit.

CAIB. LVI.

MAR fo deir an Tighearn, Coimh-
eadaibh breitheanas, agus
deanaibh ceartas; oir tha mo fhlàinte
dlù chum teachd, agus m'fhìreantachd
chum bhi air a foillfeachadh.
2 Is beannuichte an duine *a* ni fo,
agus mac an duine *a* ni greim air;
a choimhdeas an t-sàbaid gun a mi-
naomhachadh, agus a choimhdeas a
làmh o aon olc a dheanamh.
3 Agus na labhradh mac a' choig-
rich, a ta dlù-leantuinn ris an Tigh-
earn, ag ràdh, Sgar an Tighearn mife
gu tur o 'fhluagh: agus na h-abradh
an caillteanach, Feuch, *tha* mis' a'm'
chrann tioram [a].
4 Oir mar fo deir an Tighearn, Do
na caillteanaich a choimhdeas mo
fhàbaidean, agus a roghnaicheas *an
ni* a thaitneas rium, agus a ni gréim
air mo choimhcheangal;
5 Dhoibh fin bheir mi ann am
thigh, agus an taobh a ftigh do m'
bhallachan, àit [b] agus ainm ni's fearr
na *ainm* mhac agus nighean [c]; ainm
sìorruidh bheir mi dhoibh, nach gearr-
ar as.
6 Agus mic a' choigrich a ta dlù-
leantuinn ris an Tighearn, gu frith-
ealadh dha, agus gràdh a' thoirt do
ainm an Tighearna, agus gu bhi nan
òglaich dha; gach aon a ghleidheas
an t-sàbaid gun a mi-naomhachadh,
agus a ni greim air mo choimhcheang-
al;
7 Iad fin bheir mi chum mo fhléibh
naomha; agus ni mi aoibhneach iad
ann am thigh-urnuigh; *bithidh* an
tabhartais loifgte agus an ìobairtean
air an gabhail gu taitneach air m'al-
tair; oir goirear ri m' thigh-fa, Tigh-
urnuigh air fon nan uile fhlògh.
8 Mar fo deir an Tighearn Ieho-
bhah, a ta cruinneachadh r'a chéile
diobaraich Ifraeil; Fathaft cruinnich-
idh mi *muinntir eile* d'a ionnfuidh,
os barr [d] orra-fan a ta air an cruinn-
eachadh.
9 O uile bheathaiche na machrach,
thigibh chum itheadh, O uile bheath-
aiche na frìdhe.
10 Tha a luchd faire dall, gach
aon diubh; tha iad aineolach, gach
aon diubh; is coin bhalbh iad nach
urrainn tabhannaich; a' tuiteam nan
codal [e], 'gan sìneadh féin sìos, leis an
ionmhuin codal.
11 Seadh is coin chìocrach iad nach
urrainn bhi toilichte; agus is buach-
aillean iad nach urrainn tuigfinn;
tha iad a' fealltainn, gach aon diubh,
air a fhlighe féin; gach fear air a
bhuannachd o a chrìch féin.
12 Thigibh, *deir iad*, gabhamaid
fìon, agus òlamaid dibhe làidir; agus
mar an là'n diugh bithidh am màir-
each, *agus* ni's ro phailte gu mòr.

CAIB. LVII.

THA an duine ionraic a' bàfach-
adh, agus gun aon neach a'
toirt fainear; agus na daoine tròcair-
each

a *feargta.* b *cuimhneachan.* c *na do mhacaibh agus do nigheanaibh.* d *a thuille.* e *a' faicinn fhealladh.* f *faigheamaid.*

each air an toirt air falbh, agus gun aon neach a' tuigſinn gu bheil an t-ionracan air a thoirt air falbh o'n olc *a ta ri teachd.*

2 Siùbhlaidh e ann an sìth; gabhaidh eſan fois na leabuidh, a ta 'g imeachd na ionracas.

3 Ach thigibhs' am fagus an ſo, a mhaca na ban-ſhioſaiche, a ſhliochd an adhaltranaich agus na ſtrìopaich.

4 Cò d'am bheil ſibh a' deanamh àbhachd[a]? Cò ris am bheil ſibh a' deanamh beoil fharſuing, agus a' ſìneadh a mach na teanga? Nach clann ſibh a chlaon a leth-taobh, ſiol na foill[b]?

5 A' fadadh *bhur anmhiann* le h-iodholaibh ſo gach crann uaine; a' marbhadh na cloinne anns na gleannaibh, ſo ſgoltaibh nan creag.

6 Am meaſg mhìn *chlachan* a' ghlinne[c] tha do chuibhr'-ann; is iad ſin, is iad ſin do chrannchur; eadhon dhòirt thu mach tabhartas-dibhe, dh'iobair thu tiodhlac. An gabhainn-ſa tlachd annta ſin?

7 Air ſliabh cruachach àrd ſhuidhich thu do leabadh; eadhon do'n àit ſin chaidh thu ſuas a thoirt ſeachad ìobairt.

8 Air cùl an doruis agus na h-urſainn chuir thu ſuas do chuimhneachan; dh'imich thu air falbh uamſa, agus chaidh thu ſuas; leudaich thu do leabadh, agus rinn thu coimhcheangal riu; thug thu gràdh do an leabaidhſan, cia b'e àit anns am faca tu i[d].

9 Agus chaidh thu dh'amharc an righ le h-oladh-ungaidh, agus mheudaich thu do bholtraichean; agus chuir thu do theachdairean am fad, agus dh'iſlich thu thu féin eadhon gus an uaigh[e].

10 Ann am buanas do ſhlighe ſgìthicheadh thu; *ach* cha dubhairt thu, Cha 'n'eil dòchas ann; fhuair thu beatha do làimhe, air an aobhar ſin cha d'fhannaich thu.

11 Agus cò as a ghabh thu eagal agus ſiamh, gu'n d'rinn thu breug, agus nach do chuimhnich thu ormſa, ni mò thug thu fainear? Nach d'fhan mis' a'm' thoſd, eadhon o chian, agus cha 'n'eil eagal ort romham?

12 Leigidh miſe ris d'fhìreantachd, agus do ghnìomhara; oir cha dean iad feum dhuit.

13 An uair a ghlaodhas tu, deanadh do chnuideachdan do thearnadh; ach togaidh a' ghaoth air falbh iad uile, bheir an ceo as *iad;* ach an neach a chuireas a dhòchas annamſa, ſealbhaichidh e am fearann, agus gheibh e mar oighreachd mo ſhliabh naomha.

14 An ſin their mi, Tilgibh ſuas, tilgibh ſuas; ulluichibh an t-ſlighe; thugaibh air falbh *gach* ceap-tuiſlidh a rathad mo ſhluaigh.

15 Oir mar ſo deir an Ti ard agus uaſal, do'n àit-còmhnuidh ſìorruidheachd, do'n ainm an Ti naomha; Anns an ionad àrd agus naomha gabham-ſa còmhnuidh; maille ris-ſan fòs a ta leònta agus ioſal *na* ſpiorad; a bheothachadh ſpioraid nan irioſal, agus a bheothachadh cridhe nan daoine leònta.

16 Oir cha bhi mi ag cronachadh gu sìor, agus cha bhi fearg orm an còmhnuidh; oir dh'fhàilnicheadh an ſpiorad romham, agus na h-anama a rinn mi féin.

17 Air ſon cionta a ſhannta bha corruich orm, agus bhuail mi e, a' folachadh mo ghnùiſe ann am feirg; agus dh'imich e roimhe gu fiar, air ſlighe a chridhe féin.

18 Dh'amhairc mis' air a ſhlighibh, agus leighiſidh mi e; ſeadh treòruichidh mi e agus aiſigidh mi sòlaſan[f] dhàſan agus d'a luchd-bròin.

19 Is mi a chruthaicheas toradh nam bile; sìth, sìth, dhàſan *a ta* fad as, agus dhàſan *a ta* dlù, deir an Tighearn; agus ſlànuichidh mi e.

20 Ach *tha* na h-aingidh coſmhuil ris a' mhuir bhuairte, oir cha'n urrainn i bhi aig fois; ach tha a h-uiſgeachan a' dùſgadh nìos ſalchair agus làthaich[g].

21 Cha *'n'eil* sìth, deir mo Dhia, do na h-aingidh.

 CAIB.

a *Cò a ta agaibh mar bhall-àbhachd?* b *pòr nan lùb.* c *an t-frutha.* d *dh'ulluich thu àit dh'i.* e *ionad nam marbh.* f *comhſhurtachdan.* g *clàbair.*

CAIB. LVIII.

GLAODH gu h-àrd, na caomhain; mar ghall-truimp tog ſuas do ghuth; agus nochd do m' ſhluagh-ſa an eaſaontas, agus do thigh Iacoib an lochdan.

2 Gidheadh o là gu là tha iad 'gam iarraidh-ſa; agus is toil leo eòlas a ghabhail air mo ſhlighibh; mar chinneach a ta cur an gnìomh fìreantachd, agus nach do thréig reachd an Dé; tha iad a' fioſrachadh dhìomſa mu thimchioll reachda na fìreantachd, agus is miann leo bhi teachd dlù do Dhia.

3 C'ar ſon a thraiſg ſinn, *deir iad*, agus nach 'eil thus a' faicinn? *C'ar ſon* a chràidh ſinn ar n-anam, agus nach 'eil thus a' toirt fainear? Feuch, ann an là bhur traiſg tha ſibh a' mealltuinn 'ur sòlais, agus 'ur n-uile dhlighe ſaoithreach tha ſibh ag agairt.

4 Feuch, tha ſibh a' traſg chum connſachaidh agus aimhreite, agus chum bualadh le dorn na h-eucorach; cha bhi ſibh ri traſg mar air an là'n diugh, a thoirt air bhur guth gu'n cluinnear e gu h-àrd.

5 An e leithid ſo do thraſg a roghnaich miſe, gu'n cuiridh duine 'anam fo leòn car latha? An e gu'n cromadh e a cheann mar luachair, agus gu'n ſgaoileadh e ſac-eudach agus luaithre fuidhe? An abair thu traſg ri ſo, agus là taitneach do'n Tighearn?

6 Nach e ſo an traſg a ta mis a roghnachadh; cuibhrichean na h-aingidheachd a ſgaoileadh, na h-uallaichean [a] troma laſachadh, agus a' mhuinntir ſhàruichte fhuaſgladh; agus gach uile chuing a bhriſeadh?

7 Nach e d'aran a roinn ris an ocrach, agus aoidheachd a thoirt do na bochdaibh ſeachranach; an uair a chi thu an lomnochd gu'n còmhduich thu e; agus nach foluich thu thu féin o d'fheoil féin?

8 An ſin briſidh do ſholus a mach mar a' mhaduinn, agus fàſaidh do ſhlàinte gu grad; agus théid d'fhìreantachd air thoiſeach ort, bithidh glòir an Tighearna 'gad chuairteachadh *o'n taobh chùil.*

9 An ſin gairmidh tu, agus freagraidh an Tighearn; glaodhaidh tu, agus their e, *Tha* mis an ſo. Ma chuireas tu air falbh as do mheadhon a' chuing, tomhadh a' mheoir, agus labhairt toibheim;

10 Agus ma thiomaicheas d'anam ris an ocrach, agus gu'n sàſuich thu an t-anam leònta [b]; an ſin éiridh do ſholus ann an doillearachd, agus *bithidh* do dhorchadas mar mheadhon-latha.

11 Agus ſtiùraidh an Tighearn thu an còmhnuidh, agus sàſuichidh e d'anam ri àm tarta, agus ungaidh e do chnàmhan; agus bithidh tu mar lios air a dheadh-uiſgeachadh; agus mar thobar fìor-uiſge [c], air nach dtéig fàiling uiſge.

12 Agus togaidh iadſan *a ghinear* uait na ſeann làraichean, togaidh tu ſuas bunaite nan ioma ginealach; agus goirear dhìot Fear-càramh a' bheuma, Fear-aiſig nan ròidean chum bhi air an àiteachadh.

13 Ma philleas tu air falbh do chos o'n t-Sàbaid, *o* do thoil féin a dheanamh air mo là naomh-ſa; agus gu'n abair thu ris an t-Sàbaid, Toilinntinn; ri *là* naomh an Tighearna, Urramach; agus gu'n tabhair thu onoir dh'i, gun bhi leantuinn do ſhligheachan féin, no gabhail do ſhòlais féin, no labhairt *do* bhriathra *féin*;

14 An ſin gabhaidh tu tlachd anns an Tighearn; agus bheir mis ort marcachd air ionadaibh àrda na talmhainn; agus beathaichidh mi thu le oighreachd Iacoib d'athar; oir labhair beul an Tighearn *e.*

CAIB. LIX.

FEUCH, cha 'n'eil làmh an Tighearna air dol an giorrad, air chor as nach feud i tearnadh; ni mò tha a chluas air fàs mall, air chor as nach feud i cluinntinn.

2 Ach chuir bhur n-eaccairtean dealachadh eadar ſibh féin agus bhur Dia; agus dh'fholuich 'ur lochdan uaibh *a* ghnùis, ionnus nach éiſd e.

3 Oir

a *callaichean.* b *cioſaichte.* c *mbàthair-uiſge.*

3 Oir tha bhur làmhan air an truailleadh le fuil, agus 'ur meoir le h-eaceairt; labhair 'ur bilean cealg; bithidh bhur teanga a' teachd air aimhleas.

4 Cha 'n'eil neach a' gairm air ceartas, cha 'n'eil neach a' tagradh air ſon na fìrinn; tha iad a' cur an dòigh ann an dìomhanas, agus a' labhairt bhreug; air thorrachas le h-aimhleas, agus a' breith eaceairt.

5 Tha iad a' gur air uighean na ri-nathrach, agus a' figheadh lìon an damhan-alluidh; eſan a dh'itheas do'n uighean, gheibh e bàs; agus an uair a bhrùthar e, briſidh nathar nimhe mach.

6 Do'n lìontaibh cha deanar truſgan; ni mò chòmhduicheas iad iad féin le'n oibribh; an oibre is oibre na h-eacorach iad; agus tha gnìomh an fhoirneirt nan làmhan.

7 Tha an cas a' ruith chum uilc, agus tha iad a' greaſadh chum fuil neo-chiontach a dhòrtadh; is innleachdan aingidheachd an innleachdan; tha léir-ſgrios agus milleadh nan ceumaibh.

8 Slighe na sìth cha'n aithne dhoibh, ni mò tha ceart-bhreth nan ròidibh; rinn iad dhoibh féin ceuma cama; cò air bith a ſhiùbhlas annta, cha'n aithne dha sìth.

9 Air an aobhar ſin tha breitheanas fada uainn, agus cha 'n'eil ceartas a' breith oirnn; tha ſinn ag amharc *ag iarraidh* ſoluis [a], ach feuch dorchadas; *ag iarraidh* ſoilleireachd, *ach* tha ſinn a' gluaſad ann an duibhre.

10 Tha ſinn a' ſmeurachadh, mar na doill, ag iarraidh a' bhalla; agus mar mhuinntir gun fhradharc [b] tha ſinn a' ſmeurachadh; tha ſinn a' tuiſleachadh mu mheadhon-là, mar anns an du-thrà; *tha ſinn* ann an ionadaibh uaigneach [c] mar dhaoinibh marbha.

11 Tha ſinn a' bùirich mar mhathghamhnuibh; mar cholumain tha ſinn ri sìor-chaoirean; tha ar sùil ri breitheanas, ach cha 'n'eil e ann; ri fuaſgladh, ach 's ann a tha e fada uainn.

12 Oir tha ar lochdan air fàs lìonmhor ann ad làthair, agus tha ar ciontan a' toirt fianuis nar *n*-aghaidh; oir tha ar lochdan nar cuideachd [d], agus ar n-aingidheachd is léir dhuinn;

13 Le peacachadh agus le breugaibh an aghaidh an Tighearna, agus le pilleadh air falbh o ar Dia; le ainneart a labhairt, agus le ceannarc a dhealbhadh; agus le briathran breugach aithris o'n chridhe.

14 Agus tha breitheanas air pilleadh air ais, agus tha ceartas a' ſeaſamh fad' as; oir thuiſlich an fhìrinn air an t-ſràid, agus cha b'urrainn ionracas teachd a ſteach.

15 Agus tha fìrinn air teicheadh air falbh; agus tha eſan, a ſheachaineas an t-olc, 'ga dheanamh féin na chreich; agus chunnaic an Tighearn, agus mhi-thaitin e ris, nach robh breitheanas ann.

16 Agus chunnaic e nach robh fear ann, agus b'ioghnadh leis nach robh eadar-mheadhonair ann; an ſin dh'oibrich a ghairdean féin ſlàinte air a ſhon, agus 'fhìreantachd féin chum i ſuas e.

17 Agus chuir e uime fìreantachd mar uchd-éididh; agus clogaid na ſlàinte air a cheann; agus chuir e uime truſgan an dioghaltais mar eudach, agus chòmhduich ſe e féin le h-eud mar le falluing.

18 Do réir *an* gnìomhara, mar ſin bheir e ath-dhìoladh; corruich d'a naimhdibh, dioghaltas d'a eaſcairdibh; do na h-eileanaibh ìocaidh e dioghaltas.

19 Mar ſin bheir *iadſan* o'n Iar urram do ainm an Tighearn; agus *iadſan* o éirigh na gréine d'a ghlòir; an uair a thig *an* namhaid mar thuil, togaidh Spiorad an Tighearna ſuas bratach na aghaidh.

20 Agus thig am Fear-ſaoraidh gu Sion, agus tionndaidhidh e eaſaontas o Iacob [e], deir an Tighearn.

21 Agus air mo ſhon-ſa, ſo mo choimhcheangal riu, deir an Tighearn; mo Spiorad a ta ortſa, agus mo bhriathran chuir mi ann ad bheul, cha dealuich iad ri d' bheul, no ri beul do ſhliochd, no ri beul ſliochd do ſhliochd,

deir

a *tha sùil againn ri ſolus.* b *sùilibh.* Eabh. c *am meaſg nithe ſoghmhor.* d *maille ruinn.* e Faic. Rom. XI. 26.

deir an Tighearn, o'n àm so eadhon
gu sìoruidh.

CAIB. LX.

EIRICH, dealraich; oir [f]thàinig
do sholus, agus tha glòir an
Tighearna air éirigh ort.
2 Oir feuch, còmhdaichidh dorch-
adas an talamh, agus dall-dhios na
cinnich; ach ortsa éirigh an Tigh-
earn, chithear a ghloir *a' dealradh*
ort.
3 Agus thig cinnich dh'ionnsuidh
do sholuis, agus righrean dh'ionnsuidh
do ghrian-éirigh.
4 Tog suas do shùilean mu'n cuairt,
agus faic; tha iad uile air an cruinn-
eachadh le chéile; tha iad a' teachd
do d' ionnsuidh; thig do mhic o chéin,
agus bithidh do nigheana air an giùl-
an air an leis [a].
5 An sin chi thu, agus sruthaidh
tu thairis, agus ni do chridhe plosg-
artaich, agus nithear farsuing e; a
chionn gu'n tionndadhar mòr shluagh
na fairge chugad, agus gu'n dthig
seachd nan cinneach a d'ionnsuidh.
6 Còmhdaichear thu le lìonmhoir-
eachd nan càmhal, le dromedairibh
Mhidiain agus Epha; thig iad uile o
Sheba; òr agus tùis giùlainidh iad,
agus cliù an Tighearna cuiridh iad an
céill.
7 Cruinnichear a d'ionnsuidh uile
threudan Chedair; ni reitheachan
Nebaiot frithealadh dhuit; théid iad
suas, agus gabhar iad gu taitneach
air m'altair; agus tigh mo ghlòire
fatbaft glòraichidh mi.
8 Cò iad so a ta snàmh mar cheo,
agus mar cholumain *ag itealaich*
dh'ionnsuidh an ionaid-tàimh [b]?
9 Gu deimhin feithidh na h-eileana
rium, agus longa Tharsuis air thois-
each; a thoirt do mhac o chéin, *le'n*
airgiod agus an òr maille riu; a chum
ainme an Tighearna do Dhé, agus a
chum Ti naomha Israeil, oir ghlòraich
esan thu.
10 Agus togaidh mic a' choigrich
suas do bhallachan, agus fritheilidh
an righrean duit; oir ann am chor-
ruich bhuail mi thu, ach ann am
dheadh-ghean ni mi iochd ort.
11 Agus bithidh do gheatachan
fosgailt an còmhnuidh; a là agus a
dh'oidhche cha druidear iad; a chum
as gu'*n* dthoirear a d'ionnsuidh mòr
shluagh nan cinneach, agus an righr-
ean le greadhnachas.
12 Oir an cinneach agus an rìogh-
achd nach dean seirbhis dhuit, bithidh
iad caillte [c]; seadh sgriosar na cinnich
sin gu tur [d].
13 Thig glòir Lebanoin a d'ionn-
suidh, an giuthas, an gall-ghiuthas,
agus an crann-bocsa le chéile; a chur
maise air mo naomh-ionad-sa, agus
a chum gu'n glòraichinn àit mo chos.
14 Agus thig mic do luchd-sàruch-
aidh 'gan cromadh féin ann ad làth-
air, agus ni gach neach a rinn tàir
ort umhlachd gu bonnaibh do chos;
agus goiridh iad dhiot Cathair an
Tighearna, Sion Ti naomha Israeil [e].
15 An àit thu bhi air do thréigsinn,
agus air d'fhuathachadh, air chor as
nach do shiubhail aon neach tromh-
ad [f]; ni mi thu a'd' oirdhearcas sìor-
ruidh, a'd' aobhar-gàirdeachais feadh
lìnn nan lìnn.
16 Agus deothailidh tu bainne
chinneach, agus cìoch righrean deoth-
ailidh tu; agus bithidh fios agad gur
mis' an Tighearn do Shlànuighear;
agus gur e d'fhear-saoraidh Ti cumh-
achdach Iacoib.
17 Agus an àit umha, bheir mi òr;
agus an àit iaruinn, bheir mi airgiod;
agus an àit fiodha, umha; agus an
àit chlach, iarunn; agus ni mi do
mhaoir nan sìth, agus do chìs-mhaoir
nan ceartas.
18 Cha chluinnear ni's mò foirneart
ann ad fhearann, sgrios agus milleadh
ann ad chrìochaibh; ach their thu
Slàinte *mar ainm* ri d' bhallachan,
agus Moladh ri d' gheatachan.
19 Cha bhi a' ghrian agad ni's faide
mar sholus anns an là, ni mò bhitheas
dealra na gealaich 'gad shoillseach-
adh; ach bithidh an Tighearn na
sholus sìorruidh dhuit, agus do Dhia
na ghlòir agad.

20 Cha

a *air an altrum ri do thaobh.* b *an ròsa, an uinneaga.* Eabh.
c *théid iad am mugha.* d *le léir-sgrios.* e *Sion a's le Ti naomha Israeil.* f *thromhad.*

20 Cha dthéid do ghrian tuille sìos, ni mò dhorchaichear do ghealach; oir bithidh an Tighearn na ſholus ſìorruidh dhuit, agus crìochnaichear laithean do bhròin.

21 Agus *bithidh* do ſhluagh uile nam ſìreanaibh; ſealbhaichidh iad am fearann gu sìorruidh; am meangan a ſhuidhich mi, obair mo làmha, chum gu'm bi mi air mo ghlòrachadh.

22 Fàſaidh an aon bheag na mìle, agus an aon ſhuarach na cinneach làidir; luathaichidh miſe Iehobhah e na thràth.

CAIB. LXI.

THA Spiorad an Tighearna Iehobhah orm, do bhrìgh gu'n d'ung an Tighearn mi; a thoirt deadh ſgéil do'n mhacanta chuir e mi; a cheangal ſuas luchd a' chridhe bhriſte, a dh'éigheach fuaſglaidh do na braighdibh, agus foſglaidh a' phrìoſuin dhoibhſan a ta ceangailte;

2 A dh'éigheach bliadhna thaitnich an Tighearna, agus latha dioghaltais ar Dé-ne; a thoirt comhfhurtachd dhoibhſan uile a ta ri bròn;

3 A dh'orduchadh do luchd-caoineadh Shioin, a thoirt doibh maiſe an àit luaithre, ola aoibhneis an àit bròin, éididh mholaidh an àit ſpioraid airſneil; a chum 's gu'n goirteadh dhiubh Craobhan fìreantachd, a ſhuidhich[a] an Tighearn air ſgàth *a* ghlòire.

4 Agus togaidh iad ſuas na ſeann làraichean, càirichidh iad r'a chéile na h-ionada ſgaoilte o chian; athnuadhaichidh iad na caithrichean briſte, ionada fàſaichte nan iomadh linn.

5 Agus ſeaſaidh coigrich ſuas, agus beathaichidh iad bhur treudan; agus *bithidh* mic a' choigrich nan treabhaichean dhuibh, agus nan luchd-ſaoithreachadh na fìonain.

6 Ach goirear dhibhſe Sagartan an Tighearna; Luchd-frithealaidh ar Dé-ne theirear ribh; ſaidhbhreas nan cinneach ithidh ſibh, agus nan glòir ni ſibh uaill.

7 An àit bhur nàire *gheibh ſibh cuibhrionn* dhùbailte[b]; agus *an àit* maſlaidh, ni iad gairdeachas nan cuibhrionn; uime ſin nan tìr ſealbhaichidh iad roinn dhùbailte, bithidh aoibhneas aca[c] gu sìorruidh.

8 Oir is miſe an Tighearn, leis an ionmhuinn breitheanas; is beag orm ainneart air ſon tabhartais loiſgte; agus cuiridh mi air adhart[d] an obair ann am fìrinn; agus coimhcheangal sìorruidh ni mi riu.

9 Agus aithnichear an ſliochd am meaſg nan cinneach, agus an gineal am meaſg nan ſluagh; na h-uile a chi iad, aidichidh iad gur ſliochd iad *a* bheannaich an Tighearn.

10 Ni mi gairdeachas gu mòr anns an Tighearn; bithidh m'anam aoibhneach ann am Dhia; oir chuir e orm éideadh na ſlàinte, chòmhduich e mi le truſcan[e] na fìreantachd; mar a ſgeadaicheas[f] fear-bainnſe[g] e féin le crùn[h] ſgiamhach, agus mar a dh'uigheamaicheas bean-bainnſe i féin le a ſeudaibh.

11 Oir mar a chuireas an talamh a mach a chinneas[i], agus mar a bheir an lios[j] air an t-ſìol fàs a nìos; mar ſin bheir an Tighearn Iehobhah air fìreantachd agus moladh fàs ſuas an làthair nan uile chinneach.

CAIB. LXII.

AIR ſgàth Shioin cha bhi mi a'm' thoſd, agus air ſgàth Ieruſaleim cha ghabh mi fois; gus am bris a fìreantachd a mach mar ſholus dealrach, agus a ſlàinte mar leus laſrach.

2 Agus chi na cinnich d'fhìreantachd, agus na h-uile righrean do ghlòir; agus bheirear ainm nuadh ort, a ghairmeas beul an Tighearna.

3 Agus bithidh tu a'd' chrùn glòire ann an làimh an Tighearna, agus a'd' choron rìoghail ann an glaic do Dhé.

4 Cha n-abrar riut tuille, Tréigte ris an do chuireadh cùl; ni mò theirear ri d' fhearann tuille, am Faſach; ach

'ſe

a *ſuidheachadh, plandachadh.* Eabh. b *dhà fhillte.* c *orra.*
d *air a h-aghaidh.* e *falluing.* f *choiſrigeas.* Eabh.
g *fear-nuadh-pòſda.* h *uigheam cinn.* i *a phiſeach, a thoradh.*
j *gàradh.*

ſe theirear riut, Bean mo rùin [a];
agus ri d'fhearann, Bean-phòſda [b];
oir bithidh rùn an Tighearna ort, a-
gus bithidh d'fhearann air a cheangal
ann am pòſadh.
5 Oir *mar* a phòſas duin' òg òigh,
mar ſin pòſaidh d'fhear-togail thuſa;
agus *mar* a ni am fear nuadh-pòſda
gairdeachas na mhnaoi, *mar ſin* ni do
Dhia gairdeachas annadſa.
6 Chuir mi luchd-faire air do bhal-
lachan, O Ierusalem; rè an là, agus
rè na h-oidhche, cha bhi iad nan
toſd; ſibhſe ta deanamh luaidh air
ainm an Tighearna, na bithibhſe 'n'ur
toſd;
7 Agus na dthugaibh fois dha, gus
an daingnich e, agus gus an dean e
Ierusalem na cliù air an talamh.
8 Mhionnaich an Tighearn air a
làimh dheis, agus air a ghairdean
cumhachdach, cha tabhair mi ni's mò
d'arbhar mar lòn do d' naimhdibh;
ni mò dh'òlas clann a' choigrich d'fhìon
nuadh, air ſon an do ſhaoithrich thu;
9 Ach ithidh iadſan e, a thionail-
eas e, agus molaidh iad an Tighearn;
agus iadſan a chruinnicheas e, òl-
aidh iad e ann am chùirtibh naomha-
ſa.
10 Siubhlaibh, ſiubhlaibh trìd nan
geatacha; ullaichibh ſlighe an
t-ſluaigh; tilgibh ſuas, tilgibh ſuas
an rathad mòr; glanaibh as na clach-
an; togaibh ſuas bratach air ſon nan
ſlògh.
11 Feuch ghlaodh an Tighearn gu
iomall an domhain; Abraibh ri
nighin Shioin, Feuch, tha do Shlàn-
uighear a' teachd, feuch, tha a luaigh-
eachd maille ris, agus *duais* 'oibre na
làthair.
12 Agus theirear riu, An ſluagh
naomha, muinntir ſhaorta an Tigh-
earna; agus riutſa theirear, Miann-
aichte, Cathair nach tréigear.

CAIB. LXIII.

CO ſo a ta teachd o Edom, le cul-
aidh dhaithte o Bhoſra? e ſo *a*
ta ſgiamhach na éideadh, a' ſiubhal ann
am mòrachd a neirt? Miſe, a ta labh-
airt ann am fìreantachd, cumhachd-
ach gu tearnadh.
2 C'ar ſon a *tha* d'éideadh dearg, a-
gus do chulaidh mar neach a' ſaltairt
an amair-fhìona?
3 Shaltair mi an t-amar a'm' aon-
ar, agus do na ſlòigh cha *robh* aon
neach maille rium; oir ſhaltair mi
orra ann am fheirg, agus phronn mi
iad ann am chorruich; agus chrath-
adh am fuil air mo chulaidh, agus
tharruing mi sal air m'éididh uile.
4 Oir *bha* là an dioghaltais ann mo
chridhe, agus bha bliadhna mo mhuinn-
tir ſhaorta air teachd.
5 Agus dh'amhairc mi, agus cha
robh fear-cuidich ann; agus b'ioghn-
adh leam nach robh fear-taice ann;
uime ſin dh'oibrich mo ghairdean féin
ſlàinte dhomh, agus chum mo chor-
ruich féin taice rium.
6 Agus ſhaltair mi sìos na ſlòigh
ann am fheirg, agus chuir mi air
mhiſg iad ann mo chorruich, agus
thug mi sìos an neart chum an làir.
7 Tròcairean an Tighearna aithr-
iſidh mi, *agus* cliù an Tighearna; do
réir gach ni a bhuilich an Tighearn
oirnn, agus meud a mhaitheis do
thigh Iſraeil, a dheònuich e dhoibh
do réir a chaoimhneis, agus do réir
lìonmhoireachd a thròcairean.
8 Oir thubhairt e, Gu deimhin is
iad mo ſhluagh, clann nach dean
breug; agus bha e na ſhlànuighear
dhoibh.
9 Nan uile àmhghar bha eſan fo
àmhghar; agus rinn aingeal a làth-
aireachd an tearnadh; ann a ghràdh
agus ann a iochd rinn e féin an ſaor-
adh; agus dh'iomchair e iad, agus
ghiùlain e iad, rè nan uile laithean o
ſhean.
10 Ach rinn iadſan ceannairc, a-
gus chuir iad doilgheas air a Spiorad
naomha; air chor as gu'n d'fhàs e na
nàmhaid doibh, *agus* chog e féin nan
aghaidh.
11 An ſin chuimhnich e na laith-
ean o ſhean, Maois *agus* a ſhluagh;
ag ràdh, Cia eſan a thug a nìos iad
o'n fhairge, le buachaille a threud?
Cia eſan a chuir a Spiorad naomh an
taobh a ſtigh dheth?
12 A ſtiùr *iad* aig deas làimh
Mhaois le a ghairdean glòrmhor; a'
ſgoltadh

a *Hephſibah*. Eabh. b *Beulah*. Eabh.

ſgoltadh nan uiſgeacha roimhe, a dheanamh ainme ſhìorruidh dha féin?

13 'Gan ſtiùradh trìd na doimhne, mar each anns an fhàſach *ionnas* nach tuiſlicheadh iad?

14 Mar a théid an ſpréidh sìos do'n ghleann, thug Spiorad an Tighearna orra fois a ghabhail; mar ſin threòraich thu do ſhluagh, a dheanamh ainme ghlòrmhoir dhuit féin.

15 Seall a nuas o nèamh, agus faic o d' ionad-còmhnuidh naomha agus glòrmhor; c'àit am bheil d'eud, agus do neart; lìonmhoireachd do thròcairean agus do thruas dhìom? Am bheil iad air an cumail air an ais?

16 Gu deimhin is tuſa ar n-Athair; ged nach aithne do Abraham ſinn, agus nach 'eil Iſrael a' gabhail ruinn; *is* tuſa, a Thighearn, ar n-Athair, ar Fear-ſaoraidh; *tha* d'ainm o ſhìorruidheachd.

17 C'ar ſon, a Thighearn, a thug thu oirnn dol air ſeachran o d' ſhlighibh, *agus* a chruaidhich thu ar cridhe o d' eagal? Pill air ſgàth do ſheirbhiſeach, treubhan d'oighreachd féin.

18 Is beag an ùine a ſhealbhaich do ſhluagh naomha; ſhaltair ar naimhdean sìos do naomh-ionad.

19 Bu *leat* ſinne riamh; cha robh thu a' riaghladh os an cionn-ſan; cha robh iad air an gairm air d'ainm.

CAIB. LXIV.

O GU'N reubadh tu o chéile na nèamhan, gu'n dthigeadh tu nuas, gu'n ſruthadh na ſléibhtean sìos ann ad làthair.

2 Mar a loiſgeas an teine-leaghaidh, *mar* a chuireas an teine goil air uiſge; a chum d'ainm a dheanamh aithnichte do d' naimhdibh, *gu'n* criothnuicheadh na cinnich ann ad fhianuis.

3 An uair a rinn thu nithe iongantach ris nach robh sùil ag[illegible], thàinig thu nuas; ann ad làthair ſhruth na ſléibhtean sìos.

4 Oir riamh cha chuala *daoine*, cha d'airich iad le'n cluais, ni mo chunnaic sùil, dia *eile* ach thuſa, *a* ni *a leithid* air ſon an ti a dh'fheitheas air.

5 Tha thu a' teachd an còmhdhail an ti a ta gabhail tlachd ann an ceartas a dheanamh; *a' mhuinntir* a ta cuimhneach ortſa ann ad ſhlighibh: feuch, tha corruich ort, oir pheacaich ſinne; *eadhon* riuſan o ſhean, ach tha ſinn air ar tearnadh.

6 Agus tha ſinne uile mar *ni* truaillidh, agus ar n-uil' fhìreantachd mar luideig ſhalaich; agus tha ſinn uile air ſeargadh mar dhuille; agus rinn ar lochdan, mar a' ghaoth, ar giùlan air falbh.

7 Agus cha 'n'*eil* aon neach ann a ta gairm air d'ainm, a ta 'ga dhùſgadh féin ſuas a dheanamh greim ort; oir dh'fholuich thu do ghnùis uainn, agus chlaoidh thu ſinn air ſon ar n-eaceairtean.

8 Ach a nis, O Thighearn, is tus' ar n-Athair; is ſinne a' chreadh, agus is tus' ar fear-deilbh; agus is ſinne uile obair do làimhe.

9 Na biodh corruich ro gheur ort, a Thighearn, agus na cuimhnich aingidheachd gu bràth; feuch, amhairc, guidheamaid ort, is ſinne uile do ſhluagh.

10 Dh'fhàs do bhailtean naomha nam fàſach; tha Sion na fàſach; tha Ieruſalem faondrach.

11 Tha ar tigh naomh agus àluinn, anns an d'thug ar n-aithrichean moladh dhuit, air a loſgadh le teine; agus tha ar n-uile nithe tlachdmhor air an léir-ſgrios.

12 An cum thu ort féin air ſon nan nithe ſin, a Thighearn? Am bi thu 'nad thoſd, agus an cràidh thu ſinn gu goirt?

CAIB. LXV.

DH'FHOILLSICHEADH mi dhoibhſan nach robh '*gam* fharraid [a]; fhuaradh mi leoſan nach robh 'gam iarraidh; thubhairt mi, Feuch mi, feuch *mi*, ri cinneach nach robh air 'ainmeachadh orm.

2 Shìn mi mach mo làmhan fad an là ri ſluagh ceannairceach, a ta gluaſad ann an droch ſhlighe, do réir an innleachdan féin;

3 Sluagh

a *a' fioſrachadh* mu m' thimchioll.

3 Sluagh a tà an còmhnuidh 'gam
bhroſnuchadh gu feirg ri m' aghaidh;
ag ìobradh anns na lioſaibh, agus a'
loſgadh tùis air na clachaibh-creadha;
4 A ta fantuinn am meaſg nan
àiteachan-àdhlaic, agus a' gabhail
còmhnuidh anns na h-uamhaibh; a
ta 'g itheadh feòla mhuc, agus aig
am bheil sùgh nithe gràineil nan ſoith-
ichibh.
5 A ta 'g ràdh, Fan agad féin, na
dthig am fagus[a] domhſa, oir is mis'
a's naomha na thuſa. Tha iad ſo nan
deataich[b] ann am ſhròin, nan teine
ta loſgadh rè an là uile.
6 Feuch, tha e ſcrìobhta ann am
làthair; cha'n fhan mi a'm' thoſd,
ach ath-dhìolaidh mi; ſeadh ath-
dhìolaidh mi ri'n uchd,
7 Bhur ea-ceairtean, agus ea-ceairt-
ean 'ur n-aithrichean le chéile, deir
an Tighearn, a loiſg tùis air na ſléibh-
tibh, agus a thug toibheum dhomh
air na cnocaibh; ſeadh tomhaiſidh
mi air ais dhoibh nan uchd an obair
a rinn iad roimhe ſo.
8 Mar ſo deir an Tighearn, Amh-
uil a gheibhear am fion nuadh anns a'
bhaguide, agus a their *neach*, Na
mill e, oir tha beannachadh ann;
mar ſin ni miſe air ſgàth mo ſheirbhiſ-
each; cha ſgrios mi an t-iomlan.
9 Agus bheir mi mach ſliochd o
Iacob, agus o Iudah ſealbhadoir mo
ſhléibhtean; agus ſealbhaichidh mo
mhuinntir thaghta am fearann, agus
gabhaidh m'òglaich tàmh ann.
10 Agus bithidh Saron na chrò
chaorach, agus gleann Achoir na
bhuaile bhò, air ſon mo ſhluaigh-ſa,
a bha 'gam iarraidh.
11 Agus ſibhſe a thréig an Tigh-
earn, a dhi-chuimhnich mo ſhliabh
naomha; a ta deaſachadh buird do
Ghad[c], agus a' lìonadh ìobairt-dhibhe
do Mheni[d];
12 Airmhidh mi ſibhſe chum a'
chlaidheimh, agus cromaidh ſibh uile
sìos chum a' choſgraidh; a chionn,
an uair a ghlaodh mi, nach do fhreag-
air ſibhſe, an uair a labhair mi, nach
d'éiſd ſibh, ach rinn ſibh olc ann am
ſhealladh, agus an ni anns nach robh
tlachd agam roghnaich ſibh.
13 Air an aobhar ſin mar ſo deir
an Tighearn Iehobhah, Feuch, ith-
idh m'òglaich-ſa, ach bithidh ocras
oirbhſe; feuch, òlaidh m'òglaich-ſa,
ach bithidh tart oirbhſe; feuch, ni
m'òglaich-ſa gairdeachas, ach bithidh
nàir oirbhſe:
14 Feuch, ſeinnidh m'òglaich-ſa
tre aoibhneas cridhe, ach glaodhaidh
ſibhſe tre dhoilghios cridhe; agus
tre chràdh ſpioraid ni ſibh caoineadh.
15 Agus fàgaidh ſibh bhur n-ainm
mar mhallachadh do m' mhuinntir
thaghta-ſa; oir marbhaidh an Tigh-
earn Iehobhah thu, agus bheir e ainm
eile air 'òglaich.
16 An neach a bheannuicheas e
féin air talamh, beannuichidh ſe e
féin ann an Dia na fìrinn; agus an
neach a bheir mionnan air talamh,
mionnaichidh e air Dia na fìrinn; a
chionn gu bheil na h-àmhgharan
roimhe air an di-chuimhneachadh, a-
gus a chionn gu bheil iad foluichte o
m' ſhùilibh.
17 Oir feuch, cruthaicheam
nèamhan nuadha agus talamh nuadh;
agus cha chuimhnichear iad ſin, *a
bh'ann* roimhe, agus cha dthig iad
an aire *do'n duine*
18 Ach deanaibhſe gairdeachas, a-
gus bithibh aoibhneach gu cian nan
cian, *air ſon an ni* a chruthaicheam;
oir feuch, cruthaicheam Ieruſalem
na cùis-aoibhneis, agus a ſluagh nan
cùis-ghairdeachais.
19 Agus bithidh mi aoibhneach ann
an Ieruſalem, agus ni mi gairdeachas
ann mo ſhluagh; agus cha chluinnear
guth caoith no guth caoinidh innte
ni's mò.
20 Oir cha bhi as ſin ſuas naoidh-
eachan gearr-ſhaoghalach, no ſeann
duine nach do choimhlion a laithean;
oir bàſaichidh an naoidheachan *an
uair a ruigeas e* ceud bliadhna
dh'aois; ach bithidh am peacair *a
ruigeas* ceud bliadhna dh'aois mall-
uichte.
21 Agus togaidh iad tighean, a-
gus gabhaidh iad còmhnuidh *annta;*
agus ſuidhichidh iad fion-lioſan, a-
gus

a *an gar.* b *deathaich.* c *bhuidhinn.* d *mhòr àireamh.*

gus ithidh iad d'an toradh.
22 Cha dean iadſan togail, agus
neach eile àiteachadh; cha dean iadſan
ſuidheachadh, agus neach eile itheadh;
oir mar laithean craoibhe *bithidh* laith-
ean mo ſhluaigh-ſa; agus mealaidh
mo mhuinntir thaghta rè ùin' fhada [a]
obair an làmha féin.
23 Cha ſaoithrich iad gu diomhain,
ni mò ghineas iad *ſliochd* chum dragha;
oir is iad ſiol dhaoine beannuichte an
Tighearna, agus an ſliochd maille riu.
24 Agus tarlaidh, mus an gairm
iad, freagraidh mi; agus am feadh a
bhios iad ſos a' labhairt, éiſdidh mi.
25 Ni am madadh-alluidh agus an
t uan ionaltradh le chéile; agus ithidh
an leòmhan conlach mar an damh;
ach 's e an duſlach *a's* biadh do'n
nathair. Cha dochainn agus cha
mhill iad ann mo ſhliabh naomhſa
uile, deir an Tighearn.

C A I B LXVI.

MAR ſo deir an Tighearn, Is iad
na nèamha mo righ-chaithir,
agus an talamh ſtòl mo chos; cia e an
tigh a thogas ſibh dhomſa? agus cia
e ionad mo chòmhnuidh?
2 Oir na nithe ſo uile rinn mo
làmh, agus na nithe ſo uile is leamſa,
deir an Tighearn; ach air *an ſhear*
ſo amhaircidh mi, *eadhon* airſan a ta
bochd agus leònta 'n *a* ſpiorad, agus a
chriothnaicheas roimh m'fhocal.
3 Tha eſan a mharbhas damh *mar
gu-m* mortadh e duine; eſan a dh'iobras
uan, *mar gu'n* cuireadh e an ceann do
mhadadh; eſan a bheir ſeachad tabh-
artas, *mar gu-n dthugadh e ſeachad* fuil
mhuc; eſan a loiſgeas tùis, *mar gu-m*
beannuicheadh e iodhol; ſeadh roghn-
uich iad an ſligheachan féin, agus nan
gràinealachdaibh féin tha an anam a'
gabhail tlachd.
4 Roghnuichidh miſe fòs am faoin-
ſmuainte-ſan, agus an cùis-eagail bheir
mi orra; a chionn gu-n do ghlaodh mi,
agus nach d'thug aon neach freagradh;
labhair mi, agus cha d'éiſd iad; ach
rinn iad olc ann am ſhealladh, agus an
ni anns nach robh tlachd agam roghn-
aich iad.
5 Cluinnibhſe focal an Tighearna,
ſibhſe ta criothnachadh roimh 'fhocal;
bhur bràithrean a tha toirt fuath
dhuibh, a thilg a mach ſibh air ſgàth
m'ainme-ſa, deir iad, Biodh an Tigh-
earn air a ghlòrachadh; ach foillſich-
ear e chum aoibhneis duibhſe, agus
cuirear iadſan gu h amhluadh.
6 Guth àrd-ghlaoidh o'n chathair:
guth o'n teampull; guth an Tighearna,
a' toirt ath-dhìolaidh d'a nàimhdibh.
7 Mu'n robh i ann an ſaothair-
chloinne, dh' aiſeadadh i; mu'n
d'thàinig a h-ioghanna, rug i leanabh-
mic.
8 Cò chual a leithid ſo? cò chun-
naic an leithide ſo do nithibh? an
tabhair an talamh amach *a thoradh* ann
an aon latha? am bi cinneach air a
bhreith dh'aon bheum? [b] oir cha bu
luaithe bha Sion ann an ſaothair na
rug i a clann.
9 An dthoir mi gus a' bhreith, agus
nach dthoir mi fainear gu'm beirear?
deir an Tighearn; an gin mi, agus
am bac mi a' bhreith? deir do Dhia.
10 Deanaibh gairdeachas le Ieru-
ſalem, agus bithibh ſubhach air a ſon,
ſibhſe uile le'n ionmhuin i; bithibh ro
aoibhneach leatha, ſibhſe uile ta ri
bròn air a ſon;
11 A chum gu'n deothail ſibh, agus
gu'm bi ſibh ſàſuichte le ciochaibh a
ſòlais; a chum gu'n tarruing [c] ſibh,
agus gu'm faigh ſibh toilinntinn ann
am pailteas a glòire.
12 Oir mar ſo deir an Tighearna;
Feuch, ſgaoileam ſith thairis oirte mar
abhainn, agus glòir nan cinneach mar
ſhruth a' taomadh anuas [d]; an ſin
deòthlaidh ſibh, giùlainear ſibh air an
leis, agus luaiſgear [e] ſibh air na glùin-
ibh.
13 Mar neach do'n tabhair a mhà-
thair comhfhurtachd, mar ſin bheir
miſe comhfhurtachd dhuibhſe; agus
ann an Ieruſalem gheibh ſibh ſolas.
14 An uair a chi ſibh *ſo* n' bhur
cridhe gairdeachas; agus bithidh 'ur
cnàmhan [f] ùrar mar am feur; agus
foillſichear làmh an Tighearna d'a
òglaich; ach laſaidh 'fhearg an agh-
aidh a nàimhdean.

[a] *caithidh iad as.* Eabh. [b] *dh'aon tarruing?* [c] *ſaiſg, bleodhainn.*
[d] *a'dol thar bruaich.* [e] *ſu-luaiſgear.* [f] *cnàimhean.*

15 Oir feuch, thig an Tighearn le teine, agus a charbad mar chuairt-ghaoith; a dhortadh a mach a chorruich mar ainteas, agus 'achmhasain le lasraichibh teine.

16 Oir le teine agus le a chlaidheamh tagraidh an Tighearn ris gach uile fheoil; agus bithidh mòran air am marbhadh leis an Tighearn.

17 Iadsan a ta 'g an naomhachadh féin agus 'g an glanadh féin anns na liosaibh, air cùl aon *chraoibhe* 's a' mheadhon; ag itheadh feòla mhuc, agus na gràinealachd, agus nan luch; gearrar [a] as iad le chéile, deir an Tighearn.

18 Oir *is aithne* dhomhsa an gnìomhara agus an innleachdan; thigeam a chruinneachadh nan uile chinneach agus theanganna le chéile; agus thig iad, agus chi iad mo ghlòir.

19 Agus cuiridh mi comhara 'n am measg; agus a' mhuinntir a théid as dhiubh cuiridh mi dh'ionnsuidh nan cinneach, gu Tarsis, Pul, agus Lud, a thairngeas am bogha; gu Tubal agus Iabhan, na criochan fad as; nach cuala iomradh orm, agus nach faca riamh mo ghlòir; agus cuiridh iad an céill mo ghlòir am measg nan cinneach.

20 Agus bheir iad 'ur bràithrean uile, as gach cinneach, *mar* thabhartas do'n Tighearn; air eachaibh, agus air carbadaibh, agus air uirighibh, air muilidhibh, agus air ainmhidhean luathchosach [b]; gu mo shliabh naomha-sa Ierusalem deir an Tighearn; amhuil a bheir clann Israeil tabhartas ann an soitheach glan gu tigh an Tighearna.

21 Agus dhiubhsan mar an ceudna gabhaidh mi, air son shagart, *agus* air son Lebhitheach, deir an Tighearn.

22 Oir amhuil a mhaireas na nèamha nuadha, agus an talamh nuadh, a ta mi cruthachadh, ann am fhianuis, deir an Tighearn; mar sin mairidh bhur sliochd-sa, agus 'ur n-ainm.

23 Agus tarlaidh, o ghealaich ùir gu gealaich ùir, agus o shàbaid gu sàbaid, gu'n dthig gach uile fheoil a dheanamh adhraidh ann am làthair-sa deir an Tighearn.

24 Agus théid iad amach, agus seallaidh iad air closaichean nan daoine a chiontaich a'm' aghaidh; oir cha bhàsaich an cnuimh, agus cha mhùchar an teine; agus bithidh iad nan gràinealachd [c] do na h-uile fheoil.

[a] *sguabar.* [b] *eleibh.* [c] *oillte.*

IEREMIAH.

CAIB. I.

BRIATHRAN Ieremiah mhic Hilciah, *aon* do na ſagartaibh a *bha* 'n Anatot ann am fearann Beniamin:
2 A dh'ionnſuidh an d'thàinig focal an Tighearna ann an laithibh Ioſiah mhic Amoin righ Iudah, anns an treas bliadhna deug d'a rioghachadh.
3 Thàinig e mar an ceudna ann an laithibh Iehoiacim mhic Ioſiah righ Judah, gu ceann aon bhliadhna deug Shedeciah mhic Ioſiah, righ Iudah, gus an d'thugadh air falbh Ieruſalem ann am braighdeanas anns a' chùigeamh mios.
4 Thàinig an ſin focal an Tighearna do m'ionnſuidh-ſa, ag ràdh:
5 Mu'n do dhealbh mi thu 'ſa bhroinn, b'aithne dhomh thu, agus mu'n d'thàinig thu mach o'n bholg, chuir mi air leth thu: [a] mar fhàidh do na cinnich thug mi thu.
6 An ſin thuirt miſe, Och! a Thighearna Iehobhah, feuch, cha'n aithne dhomhſa labhairt; oir *is* leanabh mi.
7 Agus thubhairt an Tighearna rium, Na abair, *Is* leanabh mi: ach a chum nan uile gus an cuir miſe thu, théid thu; agus ciod ſam bith a dh'àithneas mi dhuit, labhraidh tu.
8 Na biodh eagal ort roimh an gnùis; oir tha miſe maille riut a chum do thearnadh, deir an Tighearn.
9 Agus chuir an Tighearn a mach a làmh, agus bhean e ri m' bheul. Agus thubhairt an Tighearn rium, Feuch chuir miſe mo bhriathran ann ad bheul.
10 Feuch, chuir mi thu air an la'n diugh os cionn nan cinneach agus os cionn nan rìoghachd, gu ſpionadh as, agus gu tarruing a nuas, agus gu ſgrios, agus gu leagail; gu togail, agus gu ſuidheachadh.
11 Agus thàinig focal an Tighearna do m'ionnſuidh, ag ràdh, Ciod a tha thu faicinn, a Ieremiah? Agus thuirt miſe, Tha mi faicinn ſlaite do chraoibh almoin.
12 Agus thubhairt an Tighearna rium, Is ceart a chunnaic thu: oir deifrichidh miſe m'fhocal a chum a choimhlionadh.
13 Agus thàinig focal an Tighearna do m'ionnſuidh an dara uair, ag ràdh, Ciod a tha thu faicinn? Agus thuirt miſe, Tha mi faicinn coire air ghoil; agus air a tionndadh o'n airde tuath.
14 Agus thubhairt an Tighearn rium, O'n airde tuath briſidh an t'olc a mach air uile luchd àiteachaidh na tìre.
15 Oir feuch, gairmidh miſe air uile theaghlaichean rìoghachdan na h-airde tuath, deir an Tighearn; agus thig iad, agus ſuidhichidh iad, gach aon a righ-chaithir aig dol a ſteach gheatachan Ieruſaleim, agus air a ballachan uile mu'n cuairt, agus os cionn uile bhailtean Iudah.

 16 Agus

[a] *naomhaich mi thu.*

16 Agus cuiridh miſe mo bhreitheanais an céill nan aghaidh, air ſon an uil' aingidheachd; a chionn gu'n do thréig iad miſe, agus gu'n do loiſg iad tùis do dhéibh eile, agus gu'n do ſhleuchd iad do oibribh an làmha féin.

17 Crioſluich thuſa ſuas uime ſin do leaſraidh, agus éirich, agus labhair riu na h-uile nithe dh'àithneas miſe dhuit; na biodh ſiamh [a] ort rompa, air eagal gu'n cuir miſe gu h-amhluadh thu nam fianuis.

18 Oir feuch, rinn miſe thu an diugh a'd'chathair dhaingnichte, agus a'd' phoſt iaruinn, agus a'd' bhalladh umha, 'n aghaidh na tìre ſo uile; an aghaidh righrean Iudah, an aghaidh a mòr uaiſlean, an aghaidh a ſagartan, agus an aghaidh ſluaigh na tìre:

19 Agus cathaichidh iad ann ad aghaidh, ach cha dthoir iad buaidh ort: oir *tha* miſe màille riut, deir an Tighearn, chum do thearnadh.

CAIB. II.

THAINIG focal an Tighearna mar an ceudna do m'ionnſuidh, ag ràdh,

2 Imich agus glaodh ann an cluaſaibh Ieruſaleim, ag ràdh; Mar ſo deir an Tighearn, Chuimhnich miſe as do leth an caoimhneas *a nochd mi dhuit* ann ad òige, gràdh do cheangail-pòſaidh, 'nuair a dh'imich thu a'm'dheigh anns an fhàſach, ann am fearann nach do threabhadh.

3 *Is* naomhachd do'n Tighearn Iſrael, ceud thoradh a chinneis: iadſan uile a ta 'ga ſhlugadh ſuas, meaſar iad ciontach, thig aimhleas orra, deir an Tighearn.

4 Cluinnibh focal an Tighearna, O thigh Iacoib, agus uile theaghlaichean tighe Iſraeil.

5 Mar ſo deir an Tighearn; Ciod an ea-ceairt a fhuair 'ur n-aithrichean annam-ſa, gu'n d'imich iad fada uam, agus gu'n do ghluais iad an déigh diomhanais, agus gu'n d'fhàs iad diomhain?

6 Agus cha dubhairt iad, C'àit *am bheil* an Tighearn, eſan a thug a nios ſinn o thìr na h-Eiphit, a ſtiuir ſinn trìd an fhàſaich, trìd fearainn fhàſail agus làn ſhlochd, trìd fearainn tairt agus ſgàile bàis, trìd fearainn nach do ſhiubhail aon duine troimhe, agus far nach do ghabh duine riamh còmhnuidh?

7 Thug mi ſibh mar an ceudna gu dùthaich thorraich, a dh'itheadh a toraidh, agus a maitheis; ach an uair a thàinig ſibh a ſteach, thruaill ſibh m'fhearann, agus m'oighreachd rinn ſibh na gràinealachd.

8 Cha dubhairt na ſagairt, C'àit am bheil an Tighearn? agus iadſan a laimhſich an reachd, cha b'aithne dhoibh miſe: rinn na h-aodhairean fòs ceannairc ann am aghaidh; agus rinn na fàidhean fàiſneachd le Baal, agus lean iad nithe nach dthoir buannachd.

9 Uime ſin tagraich miſe ruibh fathaſt, deir an Tighearn, agus ri cloinn bhur cloinne tagraidh mi.

10 Oir ſiubhlaibh thairis gu criocha Chitim, agus faicibh; agus cuiribh fios gu Cedar, agus thugaibh geur aire; feuchaibh an do thachair riamh a'leithid ſo.

11 An do chaochail cinneach an dée, eadhon iad ſin nach robh nan dée? Ach chaochail mo ſhluagh-ſa an glòir air ſon ni gun bhuannachd.

12 Biodh ioghnadh oirbh, O nèamha, mu'n ni ſo, agus biodh uamhas oirbh: bithibh air bhur tròm-bhualadh le h-uamhunn [b], deir an Tighearn.

13 Oir chuir mo ſhluagh-ſa dà olc an gniomh: thréig iad miſe, tobar nan uiſgeacha beo: *agus* chladhaich iad a mach dhoibh féin ſluichd, ſluichd ea-dionach, nach cum uiſge.

14 An tràill Iſrael? Ma's ann do chloinn an teaghlaich e, c'uim' an d'rinneadh e na chobhartaich?

15 Beucaidh na leòmhain òga na aghaidh; thog iad an guth, rinn iad 'fhearann na fhàſach; tha a bhailtean air an loſgadh, gun aon 'gan àiteachadh.

16 Ni clann Noiph agus Tahpaneis mar an ceudna mullach do chinn a bhriſeadh.

17 Nach do choiſinn thu ſo dhuit féin, a chionn gu'n do thréig thu an Tighearn

[a] *fuitcheas.* [b] *air bhur fàſachadh gu tur.*

Tighearn do Dhia, an uair a bha e 'g
ad stiùireadh anns an t-slighe?
18 Agus a nis ciod do ghnothuch
ri slighe na h-Eiphit, a dh'òl uisg-
eachan Shihoir? No ciod do ghno-
thuch ri slighe Asiria, a dh'òl uisg-
eachan na h-Aibhne?
19 Smachdaichidh d'aingidheachd
féin thu, agus ni do chùl-sleamhnach-
adh féin do chronuchadh: aithnich
uime sin agus faic, gur olc agus searbh
an ni, gu'n do thréig thu an Tighearn
do Dhia, agus nach'eil m'eagal-sa ann-
ad, deir an Tighearn Dia nan sluagh.
20 Gu deimhin o chian fada bhris
mi [a] do chuing, sgaoil mi do chuibh-
richean; agus thubhairt thu, Cha bhi
mi eas-umhal [b]. Oir air gach cnoc
ard, agus fo gach craoibh uaine, tha
thu dol air seachran ri striopachas.
21 Gidheadh shuidhich mise thu
a'd' fhìonain uasail, gu h-iomlan a'd'
shìol ceart: ach cionnas a chaochail
thu orm, a' gheug chrìonaich na fìon-
ain coimhich!
22 Oir ged nigh thu thu féin le
natar, agus ged ghabh thu mòran
siopuinn, tha d'aingidheachd air a
comharachadh ann am làthair-sa, deir
an Tighearna Iehobhah.
23 Cionnus a dh'fheudas tu ràdh,
Cha'n'eil mi salach, cha deachaidh mi
an déigh Bhaalim? Feuch do shlighe
anns a' ghleann; aithnich ciod a rinn
thu. Tha thu mar dhromedari luath
ag imeachd na slighe;
24 *Mar* asail fhiadhaich cleachdta
ri fàsach, a thairngeas a'ghaoth suas na
cuinneanaibh, ann an ciocras a h-an-
ama: an tra thig a miann cò a phill-
eas i? Iadsan uile bhios 'ga h-iarruidh
cha sgìthichear iad; an ceann a mìos
gheibh iad i.
25 Cum do chas o bhi rùisgte, agus
do mhuineal o thart. Ach thuirt
thusa, Cha'n'eil leigheas air a' chùis a
nis; cha chum; oir ghràdhaich mi
coigrich, agus nan déigh théid mi.
26 Mar a bhios nàire air meirleach
an uair a ghlacar e; mar sin chuireadh
gu nàire tigh Israeil, iad féin, an
righrean, an uachdarain, agus an sag-
airt, agus am fàidhean:
27 A ta 'g ràdh ri mir fiodha, *Is*
tu m'athair; agus ri cloich, *Is* tu ghin
mi; oir thionndaidh iad riumsa *an*
cùl, is cha'n i an aghaidh; ach ann
an àm an airce their iad, Eirich, agus
teasairg sinn.
28 Ach c'àit am bheil do dhée a
rinn thu dhuit féin? Eireadh iadsan,
ma's urradh iad do thearnadh ann an
àm do chruaidh-chais: oir *do réir* àir-
eimh do bhailtean bha do dhée, O
Iudah.
29 C'arson a thagras sibh riumsa?
chiontaich sibh uile a'm'aghaidh, deir
an Tighearn.
30 Gu diomhain bhuail mi bhur
clann; cha do ghabh iad cronuchadh.
Shluig 'ur claidheamh féin 'ur fàidh-
ean, amhuil leòmhan millteach.
31 O sibhse do'n ghinealach so,
feuchaibh focal an Tighearna: an
robh mise a'm' fhàsach do Israel? a'
m'fhearann dorchadais? C'uim an
dubhairt mo' shluagh, Is tighearnan
sinn *oirnn féin*; cha dthig sinn ni's mo
thugadsa?
32 Am feud òg-bhean a h-usg-
raichean a dhearmad? *no* bean-bainnse
a culaidh? [c] Gidheadh dhearmaid mo
shluagh mise laithean gun àireamh.
33 C'uim an seòl thu do shligh a
dh'iarruidh gaoil? air an aobhar sin
fòs seòlaidh mise dòrainnean air do
shlighean-sa.
34 Fhuaradh ann ad sgiobul mar
an ceudna fuil anama nan neo-chiont-
ach bochda: cha 'n ann le sgrùdadh
domhain a fhuar mi mach i, ach air a
craobh-sgaoileadh.
35 Gidheadh tha thu 'g ràdh, A
chionn gu bheil mi neo-chiontach, gu
cinnteach pillidh a chorruich uam.
Feuch tionnsgnaidh mise ann am
breitheanas riut, a chionn gu bheil
thu 'g ràdh, Cha do pheacaich mi.
36 C'uim am bi thu co ro-luain-
each a chaochladh do shlighe? bidh
fathast nàire ort do'n Eiphit amhuil a
bha nàire ort do Asiria.
37 Seadh cuideachd théid thu mach
as so, le d' làmhan air do cheann: oir
dhiùlt an Tighearn cuspairean do
dhòchais, agus leo cha soirbhich thu.

[a] *thu* LXX. [b] *umhal.* Eabh. [c] *a breaghad.*

CAIB. III.

THEIR iad, Ma chuireas duine air falbh a bhean, agus gu'n imich i uaith, agus gu'n gabh i ſe fear eile, am pill e da h ionnſuidh a ris? nach bi am fearann ſin gu ro-mhòr air a thruailleadh? Ach rinn thuſa ſtrìopachas le mòran leannan; gidheadh pill riums' a ris, deir an Tighearn.

2 Tog do ſhùilean ſuas ris na h-ionadaibh arda, agus feuch; cia an t-àit anns nach do thruailleadh thu? Shuidh thu 'gam feitheamh anns na ſlighibh, mar an t-Arabach ſan fhàſach; agus ſhaluich thu am fearann le d'ſtrìopachas agus le d' dhrochbheairt.

3 Agus chumadh na fraſan air an ais, agus an t-uiſge deireannach cha robh ann; gidheadh agadſa bha eudann ſtrìopaich, chuir thu cùl ri nàire.

4 Nach gairm thu ormſa o'n uair ſo, *ag ràdh*, M'athair, bu tuſa fear ſtiùraidh m'òige?

5 An gléidhear *fearg* gu bràth? an cumar *corruich* gu ſiorruidh air chuimhne? Feuch, labhair, agus rinn thu aingidheachd; agus chaidh e leat.

6 Thubhairt an Tighearn rium fòs ann an laithibh Ioſiah an righ, Am faca tu ciod a rinn Iſrael chùl-ſleamhnach? Chaidh i ſuas air gach ſliabh ard, agus fo gach crann gorm, agus an ſin rinn i ſtrìopachas.

7 Agus thubhairt miſe, 'n déigh dh'i ſo uile a dheanamh, Pill do m'-ionnſuidh-ſa: ach cha do phill i. Agus chunnaic a piuthar fhealltach Iudah *ſo*.

8 Agus chunnaic miſe, 'nuair, air ſon na h-uile adhaltruis anns an robh Iſrael chùl-ſleamhnach ciontach, a chuir mi air falbh i, agus thug mi litir dhealachaidh dh'i, gidheadh nach do ghabh a piuthar fhealltach Iudah eagal, ach gu'n d'imich i, agus gu'n d'rinn i féin ſtrìopachas mar an ceudna.

9 Agus tharladh, le ro-mheud a tograidh gu neo-ghloine, gu'n do thruaill i am fearann, agus gu'n d'rinn i adhaltrus le clachaibh agus le crannaibh.

10 Agus fòs an déigh ſo uile cha do phill a piuthar fhealltach Iudah riumſa le h-uile chridhe, ach gu cealgach, deir an Tighearn.

11 Uime ſin thuirt Iehobhah rium; Is mò dh'fhireannaich Iſrael chùl-ſleamhnach i féin na Iudah chealgach.

12 Imich agus glaodh na briathran ſo ſa chomhair na h-airde tuath, agus abair; Pill, O Iſraeil chùl-ſleamhnach, deir an Tighearn, cha leag mi mo chorruich ort; oir tha miſe tròcaireach, deir an Tighearn, cha ghléidh mi m'fhearg gu bràth.

13 A mhàin aidich do chionta, gu'n d'rinn, thu eaſaontas an aghaidh an Tighearna do Dhé; agus gu'n d'rinn thu do ſhligheachan coitchionn do choigrich, fo gach aon chraoibh uaine; agus nach d'thug ſibh géill do m' ghuth-ſa, deir an Tighearn.

14 Pillibh, O chlann chùl-ſleamhnach, deir an Tighearn, oir tha mi pòſda ruibh: agus gabhaidh mi ſibh, aon a baile, agus dithis a teaghlach, agus bheir mi ſibh gu Sion:

15 Agus bheir mi dhuibh aodhairean de réir mo chridhe féin, agus beathaichidh iad ſibh le h-eòlas agus le tuigſe.

16 Agus tarlaidh, an uair a théid ſibh an lìonmhoireachd agus am meud anns an fhearann, anns na laithibh ſin, deir an Tighearn, cha' n abair iad ni's mò, Airce coimhcheangail an Tighearna, ni mò thig i nan aire, ni mò chuimhnicheas iad i, ni mò bheir iad ſùil na déigh, ni mò nithear *ſin* tuille.

17 Anns an àm ſin theirear ri Ieruſalem righchaithir an Tighearna; agus bidh tathaich nan uile chinneach d'a h-ionnſuidh, air ſgàth ainme an Tighearn a bhitheas ann an Ieruſalem; agus cha ghluais iad ni 's mò do réir cruais[a] an droch cridhe féin.

18 Anns na laithibh ſin théid tigh Iudah gu tigh Iſraeil; agus thig iad le chéile mach as an tir mu thuath, a chum an fhearainn a thug miſe mar oighreachd do 'r n-aithrichibh.

19 Agus 'nuair a thubhairt mi, Cionnus a bheir mi àite dhuit am meaſg mhac, agus a bheir mi dhuit am fearann taitneach, oighreachd aoibhneach ſhluagh non cinneach? an ſin thubhairt

[a] *ragaireachd, reaſgachd.*

thubhairt mi, Goiridh tu riumſa,
M'athair; agus cha phill thu air d'ais
o m' leantuinn.
20 Gu deimhin, *mar* a chlaonas
bean neo-dhìleas o a fear-pòſda, mar
ſin bhuin ſibhſe gu neo-dhìleas rium-
ſa, O thigh Iſraeil, deir an Tighearn.
21 Chualas guth air na h-ionad-
aibh arda; caoidh *agus* achuinge cloinne
Iſraeil; a chionn gu'n do chlaon iad an
ſlighe; dhi-chuimhnich iad an Tigh-
earn an Dia.
22 Pillibh, o chlann chùl-ſleamh-
nach, leighiſidh miſe bhur cùl-ſleamh-
nachaidh. Feuch tha ſinn a teachd
do d'ionnſuidh, oir is tu an Tighearn
ar Dia.
23 Gu deimhin *cha 'n 'eil ach* dìo-
mhanas anns na cnocaibh, *ann an*
neart nan ſléibhtean; gu deimhin anns
an Tighearna Dia-ne tha ſlàinte Iſraeil.
24 Ach dh'ith an ni nàrach ſin
ſuas ſaothair ar n-aithrichean o 'r
n-òige; an caoirich, agus am buar,
am mic, agus an nigheana.
25 Luidhidh ſinn ſìos 'nar nàire,
agus thig ar maſladh tharuinn: a
chionn gu'n do pheacaich ſinn an
aghaidh an Tighearna ar Dia, ſinn
féin agus ar n-aithrichean, o'r 'n-òige,
eadhon gus an diugh, agus nach robh
ſinn ùmhal do ghuth an Tighearna ar
Dia.

CAIB. IV.

MA philleas tu a rìs, O Iſraeil,
deir an Tighearna, do m'ionn-
ſuidh-ſa pillidh tu; agus ma chuireas
tu air falbh do ghràinealachdan o
m' làthair-ſa, an ſin cha ghluaiſear
thu:
2 Ach mionnaichidh tu, Mar is
beo an Tighearn, ann am firinn, ann
am breitheanas, agus ann an ionracas:
agus beannuichidh na cinnich iad
féin annſan, agus annſan ni iad
uaill.
3 Uime ſin, mar ſo deir an Tigh-
earn ri fearaibh Iudah, agus ri Ieru-
ſalem; Briſibh ſuas bhur fearann
treabhaidh, agus na cuiribh am meaſg
dhroighionn.
4 Bithibh air 'ur timchioll-ghearr-
adh do'n Tighearn, agus thugaibh air
falbh roimh-chraicinn 'ur cridheachan,
O fheara Iudah, agus a luchd-àiteach-
aidh Ieruſaleim; mu'n dthéid mo
chorruich-ſa mach mar theine, 's mu
'n las i, air chor is nach feudar a
mùchadh, air ſon aingidheachd 'ur
gniomhara.
5 Cuiribhſe 'n céill ann an Iudah,
agus ann an Ieruſalem deanaibh follas,
agus abraibh; Séidibh an trompaid
anns an tìr; éighibh gu h-ard agus
abraibh, Cruinnichibh le chéile, agus
rachamaid a ſteach do na cathraichibh
daingnichte.
6 Cuiribh ſuaicheantas ſuas ann an
Sion, rachaibh air bhur n-ais, na feaſ-
aibh; oir tha mis' a' tabhairt uilc o'n
airde tuath, eadhon léir-ſgrios mòr.
7 Thàinig an leòmhan a nìos o a
dhoire, agus tha milltear nan cinn-
each air a thurus: dh'imich e mach
as 'àite chum t'fhearann a dheanamh
na fhàſach; bidh do bhailtean air an
ſgrios, air chor is nach bi aon 'gan
àiteachadh.
8 Air an aobhar ſin crioſluichibh
ſibh féin le ſac-éideadh, deanaibh caoidh
agus gul; oir cha 'n 'eil fraoch feirge
an Tighearna air a pilleadh air falbh
uainn.
9 Agus tarlaidh anns an là ſin, deir
an Tighearn, gu 'm bàſaich cridhe an
righ, agus cridhe nan ard-uaiſlean;
agus bidh amhluath air na ſagartaibh,
agus uamhas air na fàidhibh.
10 An ſin thuirt miſe, Och! a
Thighearna Iehobhah! gu cinnteach
mheall thu gu tur an ſluagh ſo agus
Ieruſalem, ag ràdh, Bidh ſìth agaibh;
an uair a tha 'n claidheamh a ruigh-
eachd gu ruig an t-anam.
11 Anns an àm ſin theirear ris an
t-ſluagh ſo agus ri Ieruſalem; Gaoth
loiſgeach ann an ionadaibh ſgaoilte
an fhàſaich, leth ri nighin mo ſhluaigh-
ſa; cha 'n ann gu faſgnadh no gu
glanadh;
12 Thig treun-ghaoth o *na h-
àitibh* ſin do m' ionnſuidh-ſa; a nis
fòs laibhraidh mi féin breitheanas
nan aghaidh.
13 Feuch, mar neulaibh thig e
nìos; mar chuairt-ghaoith bidh a
charbadan; is luaithe na iolairean
a chuid each; mo thruaighe ſinne!
oir tha ſinn creachta.
14 Glan do chridhe o aingidh-
eachd, O Ieruſaleim, a chum as gu
tearnar

tearnar thu. Cia fhad a ghabhas do
ſmuaintean aingidh còmhnuidh an
taobh a ſtigh dhiot!
15 Oir tha guth ag éigheach o
Dhan, agus a' cur amhghair an céill o
ſhliabh Ephraim.
16 Glaodhaibhſe ris na cinnich,
Feuch! Cuiribh an céill an aghaidh
Ierusaleim, gu bheil luchd freiceadain
a' teachd o dhùthaich fad as, agus gu
tog iad ſuas an guth an aghaidh
bhailtean Iudah.
17 Mar luchd coimhid faiche tha
iad na h-aghaidh mu'n cuairt d'i, a
chionn gu'n d'rinn i ar a mach ann
am aghaidh-ſa, deir an Tighearn.
18 Choiſinn do ſhlighe agus do
dheanadas na nithe ſo dhuit; 's i ſo
d'aingidheachd; a chionn gu bheil i
ſearbh, oir ta i ruigheachd gu do
chridhe.
19 Mo chom, mo chom! ta mi air
mo chràdh ann am ballachan mo
chridhe; an taobh a ſtigh dhiom tha
mo chridhe ri fuaim; cha'n urradh
mi fantuinn a'm' thoſd; a chionn gu
cuala tu, O m'anam! guth na trom-
paid, gaoir a' chatha.
20 Tha léir-ſgrios air lorg léir-
ſgrios air a ghairm; gu cinnteach tha
'n tìr gu h iomlan creachta: gu h-
obann chreachadh mo phàilliuna, mo
ſgàileachan ann an tiota.
21 Cia fhad a chi mi a' bhratach?
a chluinneas mi fuaim na trompaid?
22 Gu cinnteach tha mo ſhluagh-ſa
amaideach, ormſa cha do ghabh iad
eòlas; is clann aig nach 'eil tuigs'
iad, agus tha iad air dhiobhail céille:
tha iad ſeòlta a dheanamh uilc, ach
maith a dheanamh cha 'n aithne
dhoibh.
23 Chunnaic mi an talamh, agus,
feuch! *bha e* gun dealbh agus falamh;
na nèamha fòs, agus bha iad gun ſolus.
24 Chunnaic mi na ſléibhtean, agus,
feuch! chriothnuich iad; agus bha
na cnuic uil' air an luaſgadh gu mòr.
25 Dh'amhairc mi, agus, feuch!
cha robh aon duine ann; agus uile
eoin na h-ealtuinn [a], theich iad.
26 Dh'amhairc mi, agus, feuch!
bha a' mhachair thorrach na fàſach,
agus a h-uile bhailtean air an tilgeadh
sìos, roimh làthair an Tighearna,
roimh dhian-theas 'fheirge.
27 Oir mar ſo deir Iehobhah, Bidh
am fearann gu h-iomlan air 'fhàsach-
adh, ach cha dean [b] mi làn chrioch.
28 Air ſon ſo ni an talamh bròn,
agus dorchaichear na nèamha ſhuas;
a chionn gu 'n do labhair miſe, agus
cha ghabh mi aithreachas; chuir mi
romham, agus cha dthéid mi air m'
ais uaith.
29 Roimh iolach nam marcach
agus nam fear bogha, tha gach cathair
a' teicheadh; chaidh iad a ſteach do
thiugh-choilltibh, agus ſtreap iad ſuas
air na creagaibh: tha na h-uile bhail-
tean air an tréigſinn, agus cha 'n 'eil
aon duine 'gan àiteachadh.
30 Agus thuſa, 'nuair a chreachar
thu, ciod a ni thu? Ged éid thu thu
féin le corcur, ged ſgeadaich thu thu
féin le ſendaibh òir, ged ung thu do
roſgan le dathaibh, gu diomhain ni
thu thu féin ſgiamhach: nithear tàir
ort le *do* leannain, air d'anam tha iad
an tòir.
31 Gu cinnteach chuala mi glaodh
amhuil mnà ri faothair, teanndachd
amhuil mnà ri breith a ceud leinibh,
glaodh nighin Shioin; a' caoidh, a'
ſgaoileadh a bas, *agus ag ràdh*, Mo
thruaighe miſe nis! oir tha m'anam
air a chlaoidh le luchd mortaidh!

CAIB. V.

RUITHIBH air 'ur n-ais agus air
'ur n-aghaidh [c] feadh ſhràidean
Ierusaleim, agus faicibh a nis, agus
biodh fios agaibh, agus iarruibh na
h-ionadan farſuing, am faigh ſibh aon
duine, am bheil neach ſam bith ann
a ta cur an gnìomh breitheanais, a
ta 'g iarruidh na firinn; agus bheir
miſe dh'i maitheanas.
2 Ach ged their iad, Mar is beo an
Tighearn, gu deimhin tha iad a'
mionnachadh gu breugach.
3 O Thighearn, nach 'eil do ſhùil-
ean-ſa air an fhirinn? Bhuail thu iad,
ach cha d'rinn iad bròn; chaith thu
iad,

[a] *an athair, nan ſpeur, nan nèamha.* Eabh. [b] *dthoir, chuir.* [c] *ſìos agus ſuas.*

iad, ach dhiùlt iad gabhail ri ſmachd-
achadh; rinn iad an aghaidh ni's
cruaidhe na creag, dhiùlt iad pilleadh.
4 An ſin thuirt miſe, Gu cinnteach
is iad ſo na daoin' ioſal; tha iad gun
chéill, a chionn nach aithne dhoibh
ſlighe an Tighearna, breitheanas an Dé.
5 Ruigidh mi na daoin' uaſal [a],
agus labhraidh mi riu-ſan; oir is
aithne dhoibh-ſan ſlighe an Tighearna,
breitheanas an Dé. Ach ſpealg iad
ſo gu h-iomlan a' chuing, ſgaoil iad as
a' chéile na cuibhrichean.
6 Uime ſin ni leòmhan as a' choille
an ſgrios, ni madadh-alluidh an fhàſ-
aich am milleadh; ni liopard faire os
cionn am bailtibh: gach aon a théid
a mach aſda reubar e na bhloighdibh;
a chionn gu bheil an lochdan lìon-
mhor, an cùlſleamhnachadh minic.
7 Cionnas a mhaitheas mi ſo dhuit?
thréig do chlann miſe, agus mhionn-
uich iad orra ſin nach 'eil idir nan
dée: an uair a ſhàſuich miſe iad *le
lòn*, an ſin rinn iad adhaltranus, agus
ann an tigh na ſtrìopaich chruinnich
iad nam buidhnibh.
8 Bha iad mar òig-eich bhiadhta
ſa' mhaduinn; gach aon a' ſitrich an
déigh mnà a choimhearſnaich.
9 Air ſon nan nithe ſo nach dthig
miſe d'*an* amhorc, deir an Tighearn;
agus air a' leithid ſo do chinneach nach
dean m'anam dioghaltas?
10 Rachaibhſe ſuas air a ballachan,
agus ſgrioſaibh, ach na deanaibh
crìochnachadh; thugaibh air falbh a
daingnichean, oir cha bhuin iad do 'n
Tighearn [b].
11 Oir bhuin tigh Iſraeil agus tigh
Iudah gu ro-chealgach riumſa, deir an
Tighearn.
12 Dh'àicheadh iad an Tighearn, a-
gus thubhairt iad, Cha'n e *a* ** *nn*; ni
mò thig olc oirnn; agus an claidheamh
no a' ghort cha'n fhaic ſinn.
13 Ach bidh na fàidhean mar
ghaoith, agus cha 'n 'eil am focal
annta: mar ſo nithear orra féin.
14 Air an aobhar ſin mar ſo deir
Iehobhah Dia nan ſluagh; a chionn
gu bheil ſibh ag labhairt an fhocail
ſo, feuch ni miſe m'fhocal ann ad
bheul-ſa na theine, agus an ſluagh ſo
nan connadh, agus loiſgidh e ſuas iad.
15 Feuch bheir mi 'nur n-aghaidh
cinneach o chéin, O thigh Iſraeil, deir
an Tighearn: is cinneach cumhachd-
ach e, is cinneach ro-ſhean e; cinneach
nach aithne dhuit an cainnt, ni mò
thuigeas tu ciod a their iad.
16 Tha am balg-ſaighead mar
uaigh fhoſgailte; tha iad uile nan
daoine treuna.
17 Agus caithidh iad d'fhoghara,
agus d'aran; caithidh iad do mhic
agus do nigheana; caithidh iad do
chaoirich agus do chrodh; caithidh
iad d'fhionaine agus do chranna-ſige;
ni iad bochd leis a' chlaidheamh na
bailtean daingnichte anns an robh thu
a' cur do dhòchais.
18 Gidheadh anns na laithibh ſin,
deir an Tighearn, cha dean miſe ruibh
crìochnachadh [c].
19 Agus tarlaidh, an uair a their
ſibh, C'uim' an d'rinn an Tighearn ar
Dia ruinn na nithe ſo uile? an ſin
freagraidh tus' iad, Amhuil a thréig
ſibhſe miſe, 's a rinn ſibh ſeirbhis [d] do
dhéibh coimheach ann 'ur tìr, mar ſin
ni ſibh ſeirbhis do choigrich ann an
dùthaich nach leibh féin.
20 Innſibhſe ſo ann an tigh Iacoib,
agus cuiribh an céill e ann an Iudah,
ag ràdh;
21 Eiſdibh ſo a nis, O ſhluagh
amaideach agus mhi-chéillidh, aig am
bheil ſùilean, ach nach faic; aig am
bheil cluaſan, ach nach cluinn.
22 Nach bi eagal oirbh romham-
ſa, deir an Tighearn? nach crioth-
nuich ſibh ann am làthair-ſa, a ſhiudh-
ich a' ghaineamh *mar* chrìch do 'n
fhairge, le ordugh buan, nach feud i
dol thairte: ged luaiſg a tuinn iad
féin, cha dthoir iad buaidh; ged bheuc
iad, cha dthéid iad ni 's faide?
23 Ach aig an t-ſluagh ſo tha
cridhe eas-ùmhal [e] agus ceannairceach:
chaidh iad air an ais, agus dh'imich
iad air falbh.
24 Ni mò deir iad nan cridhe,
Biodh a nis eagal an Tighearna ar
Dé oirnn, a tha toirt araon an uiſge
thoiſich agus an uiſge dheireannaich,
na

[a] *daoin' uailſe.* [b] *cha leis an Tighearn iad.* [c] *cha chuir miſe làn chrìoch-
eirbh.* [d] *foghnamh.* [e] *reaſgach.*

na àm féin; ſeachduinean ſuidhichte an fhogharaidh tha e gleidheadh air ar ſon.

25 Phill bhur n-aingidheachd na nithe ſo air falbh; agus chum bhur lochdan an ni ta maith air ais uaibh.

26 Oir gheibhear am meaſg mo ſhluaigh-ſa droch dhaoine: tha iad ri feall-fholach, mar neach a ſuidheachadh liontan; tha iad a' leagail ribe, tha iad a' glacadh dhaoine.

27 Mar chliabh ta làn eun, mar ſin tha an tighean làn do cheilg: uime ſin tha iad air fàs mòr, agus air cinntinn ſaibhir.

28 Tha iad air fàs reamhar, tha iad dealrach: ſeadh thug iad barr air gnìomha nan aingidh: cha 'n 'eil iad a' toirt breth air a' chuis, cùis an dilleachdain, gidheadh tha iad a' ſoirbheachadh; agus còir an uireaſbhuich cha 'n 'eil iad a' ſeaſamh.

29 Air ſon nan nithe ſo nach dthig miſe d'*an* amharc? deir an Tighearn: air a' leithid ſo do chinneach nach dean m'anam dioghaltas?

30 Tha ni uamhaſach agus ro-eagalach 'ga chur an gnìomh anns an tìr;

31 Tha na fàidhean ri fàiſneachd bhréige; agus na ſagairt a' riaghladh air an làimh-ſan; agus is ait le m' ſhluagh-ſa e bhi mar ſin: ach ciod a ni ſibh ann an deireadh na cùiſe.

CAIB. VI.

TEICHIBH gu h-iomlan, O mhaca Bheniamin, a mach a meadhon Ieruſaleim, agus ann an Tecoaſéidibh an trompaid; air Bet-acerem fòs cuiribh ſuas comhara teine: oir dh'fhoillſicheadh olc o'n airde tuath, agus dorainn mhòr.

2 Coſmhuil ri àit-ionaltraidh taitneach rinn miſe nighean Shioin.

3 D'a h-ionnſuidh thig na buachaillean le'n treudaibh: ſuidhichidh iad am pàilliuna na h-aghaidh air gach taobh; ionaltraidh iad gach aon na àite féin.

4 Deaſaichibh cogadh na h-aghaidh: Eiribh, agus rachamaid ſuas mu mheadhon là: Mo thruaighe ſinne! oir tha 'n là air dol ſeachad; oir tha dubharan an anmoich air an ſineadh a mach.

5 Eiribh, agus rachamaid ſuas anns an oidhche, agus milleamaid a lùchairtean.

6 Oir mar ſo labhair Tighearna nan ſluagh; Gearraibh ſìos craobhan, agus tilgibh torr an aghaidh Ieruſaleim: is i ſo a' chathair a ta gu bhi air a ſmachdachadh; is foirneart i gu h-iomlan an taobh a ſtigh dh'i.

7 Amhuil a chuireas tobar a mach uiſgeachan, mar ſin tha iſe a' cur a mach a droch-bheairt: tha ainneart agus creach ri chluinntinn innte: a' m' làthair-ſa do ghnàth tha bròn agus lotadh.

8 Gabh foghlum[a], O Ieruſaleim, air eagal gu dealaich m'anam riut; air eagal gu dean mi fàſach dhiot, fearann neo-àitichte.

9 Mar ſo deir Tighearna nan ſluagh; Dìolumaidh iad gu buileach mar fhìneamhuinn iarmad Iſraeil; pill air a h-ais do làmh, mar fhear-tionail nam ſion-dhearcan gus na cliabha.

10 Cò ris an labhair mi, 's d'an toir mi rabhadh, air chor is gu'n cluinn iad? Feuch, tha an cluas gun timchioll-ghearradh, agus cha'n urradh iad éiſdeachd: feuch tha focal Iehobhah dhoibh-ſan na mhasladh: cha 'n 'eil tlachd ac' ann.

11 Air an aobhar ſin tha miſe làn do chorruich [an Tighearna]: tha mi ſgìth d'a cumail a ſteach: dòirtidh mi mach i air a' chloinn anns na ſràidibh, agus air an òigridh a ta cruinn le chéile: ſeadh glacar am fear, agus fòs a' bhean, an t-aoſda, maille ris an ti bhios làn do laithibh.

12 Agus bheirear thairis an tighean do dhaoinibh eile, *am* fearann agus na mnathan mar an ceudna; oir ſìnidh miſe mo làmh a mach an aghaidh luchd-àiteachaidh na tìre, deir an Tighearn.

13 Oir o'n aon a's lugha gus an aon a's mò dhiubh, tha gach neach 'ga thoirt féin ſuas d'a an-miannaibh; agus o'n fhàidhe fòs gus an ſagart, tha gach aon a'gnàthachadh ceilge.

14 Leighis iad mar an ceudna lot nighinn

[a] *Gabh comhairle; gabh ionnſuchadh; bi air do leaſachadh.*

nighine mo ſhluaigh-ſa gu faoin, ag ràdh, Sìth, sìth, agus gun sìth ann.

15 An robh nàir' orra chionn gu'n do chuir iad gràinealachd an gnìomh? ni h-eadh, cha do ghabh iad nàir' air aon chor; ni mò bha rugha air an gruaidh: uime ſin tuitidh iad am meaſg na muinntir a thuiteas; anns an àm an dthig miſe 'gan amharc, tilgear sìos iad; deir an Tighearn.

16 Mar ſo thuirt an Tighearna; Seaſaibh anns na ròidibh agus faicibh, agus feòruichibh air ſon nan ſeana cheumanna, C'àit am bheil an t-ſlighe mhaith agus gluaiſibh innte; mar ſin gheibh ſibh fois do 'r n-anamaibh. Ach thuirt iadſan, Cha ghluais ſinn [*innte.*]

17 Chuir mi mar an ceudna luchdfaire os ar cionn, *ag ràdh*; Eiſdibh ri fuaim na trompaid. Ach thuirt iadſan, Cha'n éiſd ſinn.

18 Uime ſin cluinnibh, O fhineacha, 's biodh fios agaibh, O choimhthionail; an ni ſin a ta nam meaſg cluinn, O thalamh!

19 Feuch, bheir miſe dòrainn air an t-ſluagh ſo, toradh an ſmuaintean féin; a chionn nach d'thug iad éiſdeachd do m' bhriathraibh: agus do thaobh mo reachd, chuir iad eadhon cùl ris.

20 C'uim an dthig thugam-ſa tùis o Sheba? agus a' chuilc chùbhraidh o dhùthaich fad as? Cha 'n 'eil bhur tabhartais-loiſgte taitneach, ni mò tha tlachd agam-ſa 'n 'ur n-ìobairtibh.

21 Air an aobhar ſin mar ſo deir an Tighearn, Feuch, leagaidh mi ciptuiſlidh an rathad an t-ſluaigh ſo, agus tuitidh na h-aithrichean agus na mic orra; an coimhearſnach agus a charaid bàſaichidh le chéile.

22 Mar ſo deir an Tighearn, Feuch, tha ſluagh a' teachd o fhearann na hairde tuath, agus dùiſgear cinneach mòr o chrìochaibh na talmhainn.

23 Glacaidh iad am bogha 's an tſleagh: tha iad ainiochdmhor, agus chaghabh iad truas; beuchdaidh an guth mar an fhairge, agus marcaichidh iad air eachaibh, air an tarruing an ordugh mar dhaoine gu cogadh, ann adaghaidh-ſa, O nighean Shioin.

24 Chuala ſinn iomradh air *ſo*: dh'fhàs ar làmhan lag: tha goirtheair deanamh greim oirnn; pian, amhuil mnà ri ſaothair-chloinne.

25 Na rachaibh a mach do'n mhachair, na ſiùbhlaibh anns an t-ſlighe; oir *an ſin* tha claidheamh an nàmhad, uamhas air gach taobh.

26 O nighean mo ſhluaigh, éid thu féin le eudach ſaic, agus aornagain [a] thu féin ann an luaithre: dean caoidh *mar air ſon* aon mhic, cumha ro-gheur: oir gu h-obann thig an creachadair oirnn.

27 Shonraich mi thuſa gu bhi a'd' bhaideal, a'd' dhaingneach am meaſg mo ſhluaigh; agus aithnichidh tu, agus dearbhaidh tu an ſlighe.

28 Tha iad uile nan daoinibh a thug barrachd ann an ceannairc, a' gluaſad gu cealgach: is umha agus iarunn iad, an t-iomlan diubh nan innealaibh truaillidheachd.

29 Loiſgeadh na builg leis an teine, chaitheadh an luaith; leagh am fearleaghaidh gu diomhain; oir cha 'n 'eil iadſan a ta olc air an ſgaradh air falbh:

30 Airgiod nach fiu theirear riuſan, a chionn gu'n do chuir an Tighearn cùl riu.

C A I B. VII.

AM focal a thàinig gu Ieremiah o'n Tighearn, ag ràdh;

2 Seas ann an geata tighe an Tighearna, agus glaodh anns an àite ſin am focal ſo, agus abair, Cluinnibh focal an Tighearna, uile Iudah, ſibhſe ta 'g imeachd a ſteach air na dorſaibh ſo gu aoradh a thoirt do Iehobhah.

3 Mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil, Leaſaichibh 'ur ſligheachan agus 'ur gnìomhara, agus bheir miſe dhuibh còmhnuidh a ghabhail anns an àite ſo.

4 Na h-earbaibh a briathraibh breugach, ag ràdh, *Is* Teampull an Tighearna, teampull an Tighearna, teampull an Tighearna iad ſo.

5 Oir ma leaſaicheas ſibh gu h-iomlan 'ur ſligheachan agus 'ur gnìomhara; ma bheir ſibh gu ceart breitheanas

[a] *aoineagrain; aonairt.*

canas eadar duine agus a choimhearſ-
nach;
6 Mur ſàruich ſibh an coigreach,
an dilleachdan agus a' bhantrach; agus
mur dòirt ſibh ſuil neochiontach anns
an àite ſo, agus mur dthéid ſibh air
lorg dhée eile, chum 'ur dòrainn féin:
7 An ſin bheir miſe dhuibh còmh-
nuidh a ghabhail anns an àite ſo, anns
an fhearann a thug mi do'r n-aithrich-
ibh, o linn gu linn.
8 Feuch, tha ſibhſe a' deanamh
buin a briathraibh breugach o nach-
faigh ſibh buannachd.
9 Ciod? am feadh a ta ſibh a'
goid, a' mortadh, agus a' deanamh adh-
altruis, agus a' mionnachadh gu breug-
ach, agus a' loſgadh tùiſe do Bhaal,
agus a' gluaſad air lorg dhée coimh-
each, air nach robh agaibh eòlas:
10 An dthig ſibh an ſin, agus an
ſeas ſibh ann am làthair-ſa, ſan tigh
ſo a ta air a ghairm air m' ainm, agus
an abair ſibh, Tha ſinn air ar toirt
thairis a chum nan gràinealachdan ſo
uile a chur an gnìomh?
11 An e gu'n d'rinneadh an tigh
ſo, a dh'ainmicheadh ormſa, na ſhlochd
mheirleach 'n 'ur ſùilibh-ſa? Feuch,
chunnaic miſe féin e deir an Tigh-
earn.
12 Ach rachaibh a nis do m'àite-ſa
ta 'n Siloh, far an do chuir mi m'ainm
an toiſeach, agus faicibh cionnas a
bhuin mi ris, air ſon aingidheachd
mo ſhluaigh Iſraeil.
13 Agus anis, a chionn gu'n d'rinn
ſibhſe na h-oibre ſo uile, deir an Ti-
ghearn, 's gu'n do labhair miſe ruibh
ag éirigh gu moch, agus a' labhairt,
ach cha d'éiſd ſibhſe; agus gu'n do
ghlaodh mi ruibh, ach cha do fhreag-
air ſibh:
14 Uime ſin, ni mi ris an tigh *ſo*
a dh'ainmicheadh orm, as am bheil
ſibhs a' deanamh buin, agus ris an
ionad a thug mi dhuibhſe, agus do 'r
n-aithrichibh, amhuil a rinn mi ri
Siloh.
15 Agus tilgidh mi ſibh a mach as
m'fhianuis, mar a thilg mi mach bhur
bràithrean uile, an t-iomlan do ſhliochd
Ephraim.
16 Air an aobhar ſin, na guidh
thuſa air ſon an t-ſluaigh ſo, ni mò
chuireas tu ſuas glaodh no achuinge
as an leth, ni mò ni thu eadar-ghuidhe
riumſa; oir cha'n éiſd miſe riut.
17 Nach faic thu ciod a tha iad ſo
a' deanamh ann am bailtibh Iudah,
agus ann an ſràidibh Ieruſaleim?
18 Tha a'chlann a' tional connaidh,
agus na h-aithrichean a' ſadadh an
teine, agus na mnài a' fuineadh taoiſe,
a dheanamh bhreacag do bhan-righinn
nèimhe, 's a dhòrtadh a mach tha-
bhartaſa-dibhe do dhéibh eile, gu
campar a chur ormſa [a].
19 Am bheil iad a' cur campair
ormſa? deir an Tighearn, nach ann a
tha iad a'cur [dragh] orra féin, a chum
maſlaidh an gnùiſe féin?
20 Air an aobhar ſin, mar ſo deir
an Tighearn Iehobhah, Feuch, dòirt-
ear m'fhearg-ſa, agus mo dhian-chor-
ruich a mach air an àite ſo, air duine
agus air ainmhidh, agus air craobhan
na machrach, agus air toradh an fhear-
ainn; agus loiſgidh i, agus cha ghabh
i mùchadh.
21 Mar ſo deir Tighearn nan
ſluagh, Dia Iſraeil, Cuiribh 'ur tabh-
artais loiſgte ri'r n-iobairtibh, agus
ithibh feoil.
22 Oir cha do labhair miſe ri'r
n-aithrichibh, ni mò dh'àithn mi
dhoibh, anns an là ſan d'thug mi iad
a mach a tìr na h-Eiphit, mu thim-
chioll thabhartas-loiſgte no ìobairtean.
23 Ach an ni ſo dh'àithn mi
dhoibh, ag ràdh, Thugaibh géill do
m'ghuth, agus bidh mis' a' m' Dhia
dhuibhſe, agus bidh ſibhſe 'n'ur ſluagh
dhomh-ſa; agus gluaiſibh anns na h-uile
ſhlighibh a dh'àithn mi dhuibh, a
chum gu'n éirich gu maith dhuibh.
24 Ach cha d'éiſd iad, ni mò
dh'aom iad an cluas, ach ghluais iad
ann an comhairlibh aiſinnleachdach
an droch chridhe féin, agus chaidh iad
air an ais, agus cha'n ann air an
aghaidh.
25 O'n là air an d'thàinig bhur
n-aithrichean a mach a tìr na h-Eiph-
it, gus an là 'n diugh, chuir mi do'r
n-ionnſuidh m'uile ſheirbhiſich na
fàidhean,

[a] *gu m'bhroſnuchadh gu feirg.*

fàidhean, ag éirigh gach là gu moch agus 'gan cur a mach.
26 Gidheadh cha d'éisd iad rium, ni mò dh'aom iad an cluas, ach chruaidhich iad am muineal, rinn iad ni bu mheasa n'an aithrichean.
27 Uime sin, labhraidh tu na briathran so uile riu, ach cha'n éisd iad riut: glaodhaidh tu riu mar an ceudna, ach cha fhreagair iad thu.
28 Uime sin their thu riu, So an cinneach nach 'eil a' toirt géill do ghuth an Tighearna an Dia; ni mò ghabh iad ri cronuchadh: dh'eug an fhirinn, agus ghearradh a mach o'm beul i.
29 Gearr dhiot do ghruag, *O Ierusaleim*, agus tilg uait i, agus tog suas tuireadh air na h-ionadaibh arda: oir chuir Iehobhah uaith, agus thréig e ginealach a chorruich.
30 Oir rinn clann Iudah olc ann am shealladh-sa, deir an Tighearn; chuir iad an gràinealachdan anns an tigh a dh'ainmicheadh ormsa, chum a thruailleadh.
31 Agus thog iad ionadan arda Thopheit, a th'ann an gleann mhic Hinoim, a' losgadh am mac agus an nigheana san teine; ni nach d'àithn mise, 's nach d'thàinig idir ann am chridhe.
32 Air an aobhar sin feuch, tha na làithean a' teachd, deir an Tighearn, anns nach goirear ni 's mò ris Tophet, no gleann mhic Hinoim; ach gleann a' mharbhaidh: oir adhlaicidh iad ann an Tophet, gus nach bi àite *falamh* ann.
33 Agus bidh cairbheannan an t-shluaigh so nam biadh do eunlaith an athair, agus do bheathaichibh na talmhainn; agus cha'n fhuadaich aon neach air falbh *iad*.
34 An sin cuiridh mise cosgadh ann am bailtibh Iudah agus ann an sràidibh Ierusaleim, air guth an t-subhachais, agus guth an aoibhneis, guth an fhir nuadh-phòsda, agus guth na mnà nuadh-pòsda: oir bidh an dùthaich na fhàsach.

C A I B. VIII.

ANNS an àm sin, deir an Tighearn, bheir iad a mach cnàmhan righrean Iudah, agus cnàmhan a phrionnsachan, agus cnàmhan nan sagart, agus cnàmhan nam fàidhean, agus cnàmhan luchd-àiteachaidh Ierusaleim as an uaighean;
2 Agus sgaoilidh siad iad sa choinnme na gréine, agus na gealaiche, agus uile fheachd nèimhe d'an d'thug iad spéis, agus d'an d'rinn iad seirbhis, agus air an robh iad a' leanmhuinn, agus a bha iad ag iarruidh, agus d' an d'thug iad aoradh: cha chruinnichear iad, cha'n adhlaicear iad; nan aolach bidh iad air aghaidh na talmhainn.
3 Agus bidh bàs ni's roghnaiche na beatha leis an uile fhuigheall a mhaireas do'n teaghlach olc so, a bhios nam fuigheall anns gach uile àite, gus am fògair mis' iad, deir Tighearn nan sluagh.
4 Os barr, their thu riu, Mar so deir an Tighearn; An tuit iad agus nach éirich iad a rìs? An dthéid e air falbh, agus nach pill e air ais?
5 C'ar son *ma ta* tha'n sluagh so a' sleamhnachadh air an ais? *c'ar son* a ta Ierusalem ri cùl-sleamhnachadh bith-bhuan? tha iad a' deanamh greim daingean air ceilg, tha iad a' diùltadh pilleadh.
6 Thug mise fainear, agus chuala mi; cha do labhair iad gu ceart: cha'n 'eil aithreachas air aon neach d'a aingidheachd, ag ràdh, Ciod a rinn mi? Tha gach aon a' pilleadh g'a shlighe, mar a dhian-ruitheas an t-each a chum a' chòmhraig.
7 Seadh, is aithne do'n chorra-bhàin anns an athar a h-àm féin, agus is aithne do'n choluman, agus do'n chorra-mhonaidh, agus do'n gholanghaoithe àm an teachd: ach cha'n aithne do m'shluagh-sa breitheanas an Tighearna.
8 Cionnus a their sibh, Tha sinn glic, agus tha reachd an Tighearna nar measg? Feuch, gu deimhin is diomhanas obair na cleit-sgrìobhaidh, cha'n 'eil anns na sgrìobhuichibh ach dìomhanas.
9 Nàraichear na daoine glice, tha iad fo gheilt, tha iad an sàs; feuch, ri focal an Tighearna chuir iad cùl; agus ciod an gliocas a ta aca?
10 Uime sin, am mnathan bheir mise do dhaoinibh eile; am fearann dhoibhsan a théid an seilbh ann: oir tha iad

iad uile, o'n neach is mò gus an neach
is lugha, air an toirt suas d'an an-
miannaibh; o'n fhàidhe eadhon gus an
sagart, tha gach aon a' gnàthachadh
ceilge.
11 Agus leighis iad lot nighinne mo
shluaigh-sa gu faoin, ag ràdh, Sìth,
sìth, agus gun sìth ann.
12 An robh nàir orra chionn gu'n
do chuir iad gràinealachd an gnìomh?
Ni h-eadh, cha robh iad nàrach air
aon chor, ni mò ghabh an gruaidh
rugha: uime sin tuitidh iad am measg
na muinntir a thuiteas; anns an àm
an dthig mise 'gan amharc tilgear sìos
iad, deir an Tighearn.
13 Ni mise gu buileach an sgrios,
deir an Tighearn; cha bhi fìon-dhearc
air an fhìneamhuinn, no figean air a'
chrann-fhìge; seargaidh eadhon an
duilleach; agus *na nithe* thug mise
dhoibh siubhlaidh uatha.
14 C'ar son a ta sinn a' suidhe nar
tàmh? cruinnichibh sibh féin agus
rachamaid a steach do na caithrichibh
daingnichte; agus bitheamaid nar
tosd an sin; oir chuir an Tighearn
ar Dia nar tosd sinn, agus thug e
dhuinn uisge dom-blasda r'a òl, a
chionn gu'n do pheacaich sinn an
aghaidh an Tighearna.
15 Bha sùil againn ri sìth, ach
maith sam bith cha *d'thàinig*: ri h-aim-
sir slàinte, agus feuch uamhas!
16 O Dhan chualas srannail a
chuid each: ro' thorman sitrich 'eacha
meamnach chriothnuich am fearann
uile: oir thàinig iad, agus shluig iad
am fearann, agus gach ni a ta ann;
a' chathair agus iadsan a tha 'ga h-àit-
eachadh.
17 Oir feuch, cuiridh mise 'n'ur
measg, nathraichean, righ-nathraich-
ean, air nach luidh geasan, agus teum-
aidh iad sibh, deir an Tighearn.
18 Cha'n 'eil leigheas air mo
bhròn; tha mo chridhe fo leòn an
taobh a stigh dhiom.
19 Feuch guth glaoidh nighinne mo
shluaigh, o thìr chéin: Nach 'eil an
Tighearn ann an Sion? nach 'eil a
righ innte? c'ar son ma ta bhrosnuich
iad mise gu feirg le'n dealbhan snaighte,
agus le'n dìomhanasaibh coimheach?
20 Chaidh am foghara seachad,
tha'n samhra crìochnaichte, ach cha'n
'eil sinne air ar saoradh.
21 Air son leoin nighinne mo
shluaigh, tha mis air mo leòn; tha mi
dubh-bhrònach; rinn uamhann mo
ghlacadh.
22 Nach 'eil ioc-shlaint ann an
Gilead? nach 'eil léigh an sin? C'ar
son, ma ta, nach 'eil slàint' air a
h-aisig do nighinn mo shluaigh-sa?

CAIB. IX.

OCH nach b'uisge mo cheann,
agus nach bu tobar dheur mo
shùilean, a chum is gu'n guilinn a
là 's a dh'oidhche air son muinntir
mharbhta nighinne mo shluaigh!
2 Och nach robh agam anns an
fhàsach pàilliun fir-thuruis, a chum
gu fàguinn mo shluagh, agus gu'n
imichinn uatha! oir is luchd adhal-
truis iad uile, coimhthional do dhaoine
cealgach.
3 Agus tha iad a' lùbadh an teanga
mar am bogha chum ceilge; ach cha'n
'eil iad treubhach air son na firinn
anns an talamh: oir tha iad a'dol air
an aghaidh o olc gu olc, agus cha'n
'eil eòlas ac' orm-sa, deir an Tighearn.
4 Bithibh air 'ur faicill, gach aon
roimh a choimhearsnach, agus na
h-earbaibh a bràthair air bith: oir le
foill meallaidh gach bràthair, agus
gluaisidh gach companach gu cealg-
ach.
5 Agus meallaidh iad, gach aon a
choimhearsnach, agus cha labhair iad
an fhìrinn: chleachd iad an teanga ri
labhairt bhreug; sgìthich iad iad féin,
a' cur an gnìomh do-bheairt.
6 Tha do chòmhnuidh ann am
meadhon ceilge; ann an ceilg tha
iad a' diùltadh eòlas a ghabhail orm-sa,
deir an Tighearn.
7 Air an aobhar sin, mar so deir
Tighearn nan sluagh, Feuch, leagh-
aidh mi iad, agus dearbhaidh mi iad;
oir ciod a dh'fheudas mi dheanamh
do thaobh nighinne mo shluaigh?
8 Tha an teanga *mar* shaighead
fir-mhillidh; is cealg as cainnt d'i:
le 'bheul labhraidh neach gu sìoth-
chàil r'a choimhearsnach, ach na
chridhe tha e caitheadh foill air.
9 Air-son nan nithe so nach dthig
mise

d'*an* amharc? deir an Tighearn: air
a' leithid so do chinneach nach dean
m'anam dioghaltas!
10 Air son nan sléibhtean togaidh
mi gul agus caoidh, agus air son ionad-
a-comhnuidh an fhàsaich, tuireadh;
a chionn gu bheil iad air an losgadh
suas, air chor as nach dthéid aon
neach d'*an* trìd [a], agus cha chluinnear
annta guth na spréidhe: eunlaith an
athair agus an t-ainmhidh maraon
t heich, shiubhail air falbh.
11 Agus ni mise Ierusalem na carn-
aibh, na h-uaimh dhràgon; agus bail-
tean Iudah ni mi nam fàsach, gun
neach 'gan àiteachadh.
12 Cò e 'n duine glic, a thuigeas
so? is ris an do labhair beul an Tigh-
earna, a chum gu cuireadh e 'n céill e.
C'ar son a ta 'n tìr air a milleadh; air
a losgadh suas mar fhàsach, nach 'eil
aon neach ag imeachd troimpe?
13 Agus thubhairt an Tighearn,
Do bhrì gu'n do thréig iad mo reachd
a chuir mise f'an comhair, agus nach
robh iad ùmhal do m' ghuth, ni mo
ghluais iad d'a réir;
14 Ach gu'n do ghluais iad a réir
breithneachaidh an cridhe féin, agus
an déigh nan déc [b] a theagaisg an
aithrichean dhoibh:
15 Uime sin, mar so deir Tigh-
earn nan sluagh, Dia Israeil; Feuch,
beathaichidh mis' iad, *eadhon* an sluagh
so, le searbh luibhibh, agus bheir mi
uisge domblasda dhoibh r'a òl.
16 Sgapaidh mi iad mar an ceudna
measg nan cinneach, air nach robh aon
chuid iad féin no an aithrichean eol-
ach: agus cuiridh mi an claidheamh
air an tòir, gus an cuir mi as doibh.
17 Mar so deir Tighearn nan
sluagh, Thugaibh fainear, agus gairm-
ibh mnathan tuiridh, agus thigeadh
iad; agus cuiribh fios air mnathaibh
seòlta, agus thigeadh iadsan:
18 Agus deifricheadh iad, agus tog-
adh iad suas caoidh air bhur son; a
chum gu ruith ar sùilean sios le deur-
aibh, agus gu brùchd ar rosgan a
mach le h-uisgeachaibh.
19 Gun amharus chualas guth
caoith o Shion; Cionnus a tha sinn air
ar creachadh! tha sinn air ar masslachadh
gu ro-mhòr! a chionn gu'n do thréig
sinn am fearann, a chionn gu'n do thilg
iad sìos ar n-ionada-còmhnuidh.
20 Air an aobhar sin éisdibh, O
mhnathan, focal an Tighearna, agus
glacadh bhur cluas focal a bheoil;
agus teagaisgibh do'r nigheanaibh
caoidh, agus gach aon d'a ban-choimh-
earsnaich tuireadh.
21 Oir tha am bàs air teachd an
aird gus ar n-uinneagan, air teachd a
steach gus ar lùchairtean; *thàinig e* a
ghearradh sìos araon an naoidheachain
anns a' mhachair, agus nan òganach
anns na sràidibh.
22 Abair, Mar so deir an Tighearn,
tuitidh eadhon colannan dhaoine mar
aolach air aghaidh na faiche, agus mar
an dlaogh [c] an déigh a' bhuanaiche,
'nuair nach bi aon neach ann gu
'thional.
23 Mar so deir an Tighearn, Na
deanadh an duine glic uaill as a ghlioc-
as, agus na deanadh an duine neartmhor
uaill as a neart, agus na deanadh an
duine saidhbhir uaill a 'shaidhbhreas;
24 Ach deanadh esan a ni uaill,
uaill as so, gu bheil tuigse agus eòlas
aige ormsa, gur mi an Tighearn a
nochdas caoimhneas gràdhach, breith-
eanas, agus ceartas air an talamh; oir
anns na nithibh so tha mo thlachd-sa,
deir an Tighearn.
25 Feuch, tha na laithean a' teachd,
deir an Tighearn, anns an smachdaich
mise na h-uile thimchioll-ghearrta,
maille ris an neo-thimchioll-ghearrta;
26 An Eiphit, agus Iudah, agus
Edom, agus clann Amoin, agus Moab,
agus na h-uile ta anns na cearnaibh
iomallach, a ta chòmhnuidh anns an
fhàsach: oir tha na cinnich so uile neo-
thimchioll-ghearrta, agus tha tigh Is-
raeil uile neo-thimchioll-ghearrta nan
cridhe.

C A I B. X.

CLUINNIBH am focal a ta an
Tighearn a' labhairt ruibh, O
thigh Israeil.
2 Mar so deir an Tighearn; Na
foghlumaibh slighe nan cinneach, agus
na biodh eagal oirbh roimh chomh-
aran nan nèamha, ged tha eagal air na
cinnich rompa.

 3 Oir

[a] *trompa, thrompa.* [b] *Bhaalim.* Eabh. [c] *làn an duirn, dornan.*

3 Oir tha gnàthachadh nan ſlògh na ſhìor-dhìomhanas: oir tha iad a'gearradh craoibh as a' choille, obair làmh an fhir a dh'oibricheas le inneal geur[a].

4 Le h-airgiod agus le h-òr tha iad 'ga deanamh maiſeach, le tairngibh agus le h-orduibh tha iad 'ga deanamh daingean, air chor is nach gluais i.

5 Mar chrann-pailme tha iad ſo rag, agus cha labhair iad: is éiginn an giùlan, a chionn nach urradh iad imeachd: na biodh eagal oirbhſe rompa, oir cha 'n urradh iad cron a dheanamh; agus fòs maith a dheanamh cha'n 'eil nan comas.

6 Cha 'n 'eil aon neach ann coſmhuil riutſa, O Thighearn, Is mòr thu, agus is mòr t'ainm ann an cumhachd.

7 Cò air nach biodh eagal romhadſa, O Righ nan ſlògh? oir dhuitſe buinidh *urram*; a chionn nach *'eil* am meaſg uile dhaoine glice nan cinneach, agus am meaſg an uile rìoghachdan, aon neach coſmhuil riut.

8 *Ach* tha iad gu h-iomlan brùideil agus mi-thuigſeach: tha am fiodh *e féin* a' cur an céill an diomhanais.

9 Bheirear airgiod air a bhualadh a mach o Tharſis, agus òr o Uphas; obair an fhir-oibre, agus làimhe 'n òir-cheaird: is gorm agus dearg as éideadh dhoibh: is iad gu léir obair dhaoine ſcòlta.

10 Ach Iehobhah, is eſan an Dia fìor, an Dia beo, agus an righ bith bhuan: roimh a chorruich ſan criothnaichidh an talamh, agus cha'n urradh na cinnich 'fhearg a ghiùlan.

11 Mar ſo their ſibh riu, Na dée nach d'rinn na nèamha no an talamh, ſgrioſar iad a mach o'n talamh, agus o bhi fuidh na nèamha ſo.

12 Rinn eſan an talamh le 'chumhachd, ſhocruich e 'n ſaoghal le 'ghliocas, agus le 'thuigſe ſgaoil e mach na nèamha.

13 'Nuair a chuireas e mach a ghuth, tha toirm uiſgeachan anns na nèamha, bheir e air a' cheò dol ſuas o chrìochaibh na talmhainn: ni e dealanach le fraſaibh, agus bheir e mach a' ghaoth as 'ionadaibh taſgaidh.

14 Dh'fhàs gach duine mar bhrùid na eòlas; nàraicheadh gach òr-cheard le ìomhaigh leaghta; oir is ni breugach an dealbhan leaghta, agus anail air bith cha 'n 'eil annta.

15 Is ni faoin iad, obair mhearachd: ann an àm an ſmachdachaidh théid iad am mugha[b].

16 Cha choſmhuil riu ſo Cuibhrionn Iacoib; oir is eſan fear-cumaidh an domhain, agus is e Iſrael ſlat 'oighreachd; Tighearna nan ſluagh is ainm dha.

17 Cruinnich ſuas do mhaoin as an fhearann, O thus a ta 'g àiteachadh an daingnich.

18 Oir mar ſo deir an Tighearn; Feuch, bheir mi urchair do luchd-àiteachaidh na tìre, air a' chuairt ſo[c], agus claoidhidh mi iad, air chor as gu mothaich iad *mo dhìoghaltas*.

19 Mo thruaighe miſe thaobh mo dhochainn! is cràiteach mo chreuchd: ach thubhairt mi, Gu deimhin is deacair ſo,[d] ach is éigin 'fhulang.

20 Tha mo phàilliun air a chur fàs, agus tha mo chuird gu léir air am briſeadh; dh'imich mo chlann a mach uam, agus cha'n 'eil iad ann: cha 'n 'eil neach ann a ſgaoileas mo phàilliun a mach ni 's mò, no chuireas ſuas mo ſgàile.

21 Oir tha na h-aodhairean air fàs brùideil, agus cha 'n 'eil iad ag iarruidh an Tighearna: uime ſin cha ſoirbhich leo féin, agus bidh an treudan uil' air an ſgapadh.

22 Fuaim an iomraidh[e]! feuch, tha i teachd dlù, eadhon gluaſad mòr o'n tìr mu thuath, a dheanamh bhailtean Iudah nam fàſach, nan àite còmhnuidh do dhràgonaibh.

23 Is aithne dhomh, a Thighearn, nach 'eil ſlighe dùine na chomas féin: cha 'n 'eil e 'n comas duine a ta 'g imeachd a cheum a ſtiùradh[f].

24 O Thighearn, cronuich mi, ach ann an tomhas; ni h-ann a'd' chorruich air eagal gu cuir thu as domh[g]

25 Dòirt

[a] *tuaigh.* [b] *théid as doibh.* [c] *air an tarruing ſo.* [d] *is cruaidh ſo.* [e] *an tuairiſgeil!* [f] *Is aithne dhomh an Tighearn, nach 'eil a ſhlighe mar* ſhlighe *duine; nach ann mar dhuine a ghluaiſeas eſan, agus a ſtiùras e 'imeachd.* [g] *gu mìn-phronn thu mi.*

25 Dòirt a mach do dhian-chor-
ruich air na cinnich nach do ghabh
eòlas ort, agus air na teaghlaichean
nach 'eil a' gairm air d'ainm: oir
dh'ith iad ſuas Iacob, 'ga itheadh agus
'ga chaitheamh, agus rinn iad 'àite-
còmhnuidh fàſail.

CAIB. XI.

AM focal a thàinig gu Ieremiah
o'n Tighearn, ag ràdh;
2 Cluinn briathran a' choimhchean-
gail ſo, agus labhair iad ri fearaibh
Iudah, agus ri luchd-àiteachaidh Ieru-
ſaleim;
3 Agus abair riu, Mar ſo deir an
Tighearn Dia Iſraeil, Malluichte gu
robh an duine nach bi ùmhal do
bhriathraibh a 'choimhcheangail ſo,
4 A dh'àithn miſe do 'r n-aith-
richibh anns an là ſan d'thug mi iad
a mach a talamh na h-Eiphit, as an
fhuirneis iaruinn, ag ràdh, Thugaibh
géill do m' ghuth, agus deanaimh *na*
nithe ſin uile, réir mar tha miſe 'g
àithneadh dhuibh: mar ſin bidh ſibh
'n 'ur ſluagh dhomhſa, 's bidh mis'
ann am Dhia dhuibhſe.
5 A chum gu coilion mi na mion-
nan a mhionnaich mi d'ur n-aithrich-
ibh, gu dthugainn doibh fearann
a'ſruthadh le mil agus le bainne, mar
air an là 'n diugh. An ſin fhreagair
miſe, agus thubhairt mi, Bitheadh
amhluidh [a], O Thighearn!
6 Agus thubhairt an Tighearn
rium, Glaodh na briathran ſo gu léir,
ann am bailtibh Iudah, agus ann an
ſràidibh Ieruſaleim, ag ràdh, Cluinn-
ibh-ſa briathran a' choimhcheangail ſo,
agus deanaimh iad.
7 Oir dh'earalaich miſe gu dùrachd-
ach do'r n-aithrichibh, air an là ſan
d'thug mi iad a mach a talamh na
h-Eiphit, gus an là 'n diugh, ag éirigh
gu moch agus ag earalachadh, ag
ràdh, Thugaibh géill do m' ghuth.
8 Gidheadh cha d'thug iadſan géill,
ni mò dh'aom iad an cluas, ach
ghluais iad gach aon a réir croſd-
achd [b] a dhroch chridhe féin: uime
ſin bheir miſe orra uile bhriathran
a choimhcheangail ſo, a dh'àithn mi
dhoibh a dheanamh, ach nach d'rinn iad.
9 Mar an ceudna thubhairt an
Tighearn rium, Fhuaradh co-fheall
am meaſg fheara Iudah, 's am meaſg
luchd-àiteachaidh Ieruſaleim.
10 Tha iad air pilleadh air an ais
gu aingidheachd an aithrichean o
ſhean, a dhiùlt mo bhriathran-ſa a
choimhead; agus a chaidh air lorg
dhée coimheach, a chum gu'n deanadh
iad ſeirbhis dhoibh: bhris tigh Iſraeil
agus tigh Iudah mo choimhcheangal,
a rinn mi r'an aithrichibh.
11 Uime ſin mar ſo deir an Tigh-
earn; Feuch, bheir mis' orra dòrainn
o nach bi e comaſach dhoibh dol as;
agus ged ghlaodh iad rium, cha 'n
éiſd mi riu.
12 An ſin théid bailtean Iudah,
agus luchd-àiteachaidh Ieruſaleim, a-
gus glaodhaidh iad ris na déibh do'n
do loiſg iad tùis; ach cha dean iad
ſin air aon chor an tearnadh ri àm an
airce.
13 Oir do réir àireimh do bhail-
tean, bha do dhée, O Iudah; agus do
réir àireimh ſhràidean Ieruſaleim chuir
ſibh ſuas altairean do'n ni nàrach ſin,
altairean a loſgadh tùiſe do Bhaal.
14 Air an aobhar ſin na dean thuſa
urnuigh air ſon an t-ſluaigh ſo, ni mò
thogas tu ſuas glaodh no achuinge as
an leth: oir cha 'n éiſd miſe ſan àm
anns an glaodh iad rium an airce.
15 Ciod a th'aig mo ghràdh ri
dheanamh ann am thigh-ſa? chuir i
'n gnìomh mòr ghràinealachdan; a-
gus tha 'n fheoil naomh air teicheadh
uait. An uair a ta thu aingidh, an
ſin tha thu aoibhneach.
16 Gorm chrann oladh, maiſeach
agus deagh-thorrach, thug an Tigh-
earn mar ainm ort: le fuaim toirme
mòire dh'fhadaidh e teine na mhull-
ach, agus tha a gheugan air am briſ-
eadh.
17 Oir rinn Tighearn nan ſluagh,
a ſhuidhich thu, olc a labhairt a
d' aghaidh; air ſon aingidheachd
tighe Iſraeil, agus tighe Iudah, a
chuir iad an gnìomh nan aghaidh
féin, le miſe bhroſnuchadh gu feirg,
le tùis a loſgadh do Bhaal.

[a] *Amen.* Eabh. [b] *reaſgachd, coirbteachd.*

18 Thug an Tighearn, mar an ceudna fios domhſa, agus thuig mi; an ſin dh'fheuch thu dhomh an innleachdan.

19 Oir bha mi mar uan, [c] *no mar* dhamh, air a ſtiùradh a chum a' chaſgraidh, agus cha robh fios agam gu'n do dhealbh iad innleachdan ann am aghaidh, ag ràdh, Sgrioſamaid an crann maille r'a thoradh, agus gearramaid e sìos a fearann nam beo, a chum as nach bi 'ainm ni 's mò air a chuimhneachadh.

20 Ach, O Thighearna nan ſluagh, a bheir breth gu cothromach, a dhearbhas na h-airnean agus an cridhe, faiceam do dhioghaltas orra, oir dhuitſe dh'fhoillſich mi mo chùis.

21 Air an aobhar ſin, mar ſo deir an Tighearn, Do thaobh muinntir Anatoit, a tha 'g iarruidh d'anama, ag ràdh, Na dèan fàiſneachd ann an ainm Iehobhah, mu'm [a] faigh thu bàs le'r laimhne:

22 (Uime ſin, mar ſo deir Tighearna nan ſluagh), Feuch, ſmachdaichidh mis' iad; bàſaichidh na h-òganaich leis a' chlaidheamh, bàſaichidh am mic agus an nigheana le gorta.

23 Agus cha'n fhàgar fuigheall beo dhiubh; oir bheir miſe olc air muinntir Anatoit, bliadhnadh an ſmachdachaidh.

CAIB. XII.

IS ceart thuſa, O Thighearn, 'nuair a thagram riut: gidheadh ceadaich dhomh labhairt riut mu thimchioll do bhreitheanais: C'ar ſon a ta ſlighe nan droch dhaoin' a ſoirbheachadh? c'ar ſon a ta iadſan uile ſuaimhneach a ta ro-aingidh?

2 Shuidhich thus' iad, ſeadh ghabh iad freumh; tha iad a' fàs, agus fòs a' toirt a mach toraidh: tha thuſa dlù nam beul, ach fada o'n airnibh.

3 Ach is aithne dhuitſe mi, O Thighearn; chunnaic thu mi, agus dhearbh thu mo chridhe, [gu bheil] e leat: tarruing iad a mach mar chaoirich air ſon a' chaſgraidh, agus cuir air leth iad fa chomhair là a' marbhaidh.

4 Cia fhad a ni'm fearann bròn, agus a bhios luibhean gach machrach a' ſeargadh, air ſon aingidheachd a luchd-àiteachaidh? Bhàſaich gach ainmhidh agus eun, a chionn gu'n dubhairt iad, Cha'n fhaic eſan ar crìoch dheireannach.

5 Ma ruith thu leis na coiſichean, agus gu'n do ſgìthich iad thu, cionnus idir a ni thu ſtrì ri h-eachaibh? agus ann am fearann sìth *ged* robh agad dòchas, gidheadh ciod a ni thu ann an onfha Iordain?

6 Air ſon gu'n do bhuin eadhon do bhràithrean agus tigh t'athar, eadhon iadſan, gu feallach riut; ruaig eadhon iadſan thu le h-eighe chruaidh; na creid iad ged labhair iad briathra caoine riut.

7 Thréig miſe mo thigh, dh'fhàg mi m'oighreachd, thug mi thairis gràdh m'anama do làimh a nàimhdean.

8 Bha m'oighreachd dhomhſa mar leòmhan anns a' choille; chuir i mach a guth ann am aghaidh: air an aobhar ſin thug mi fuath dh'i.

9 Bha m'oighreachd dhomhſa mar an t-eun fuileachdach Seboa; O euna fuileachdach, thigibhſe na h-aghaidh air gach taobh; cruinnichibh, uile bheathaiche na machrach, thigibh a chum itheadh a ſuas.

10 Mhill mòran aodhairean mo lios fìona, ſhaltair iad mo chuibhrionn fo chois, rinn iad mo chuibhrionn taitneach na fhàſach uaigneach.

11 Rinn iad e na fhàſach, riumſa tha e na fhàſach ri caoidh; rinneadh an tìr gu h-iomlan fàs, gidheadh cha'n 'eil aon neach 'ga chur an ſuim.

12 Air gach uile thulaich ſan fhàſach thàinig an luchd-creachaidh; oir ſluigidh claidheamh an Tighearna ſuas, o aon iomall do'n tìr gus an t-iomall eile: cha bhi sìth aig aon fheoil.

13 Chuir iad cruineachd, ach buainidh iad droighionn: ſhaoirich iad, ach cha bhuannaich iad: mar ſin naſluichear ſibh do thaobh 'ur cinnis, do bhrìgh laſair feirge an Tighearna.

14 Mar ſo deir an Tighearn; Do thaobh m'uile dhroch choimhearſnacha,

[a] *air eagal gu.*

ſnacha, ta cur dragh air an oighreachd
a thug miſe mar ſheilbh do m'ſhluagh
Iſrael; feuch, ſpìonaidh mi iad a mach
as am fearann, agus as am meadhon
ſpìonaidh mi mach tigh Iudah.
15 Agus tarlaidh, an déigh dhomh
an tarruing a mach, gu pill mi, 's gu
gabh mi truas diubh, agus bheir mi
iad air an ais, gach aon g'a oighreachd
féin, agus gach aon g'a fhearann féin.
16 Agus tarlaidh, ma dh'fhogh-
luimeas iad do rìreadh ſlighean na mo
ſhluaigh-ſa, gu mionnachadh air m'
ainm, Mar is beo Iehobhah, amhuil a
theagaiſg iadſan do m' ſhluagh-ſa
mionnachadh air Baal, an ſin daing-
nichear iad ann am meadhon mo
ſhluaigh.
17 Ach mur toir iad géill, an ſin
ſpìonaidh mi a nìos an cinneach ſin,
a' ſpìonadh a nìos agus a' ſgrios, deir
an Tighearn.

C A I B. XIII.

MAR ſo thubhairt an Tighearn
rium, Imich agus faigh dhuit
féin crios anairt, agus cuir air do leaſ-
raibh e, ach na cuir ann an uiſge e.
2 Is amhuil a fhuair mi crios, do
réir focail an Tighearna, agus chuir
mi air mo leaſraibh e.
3 Agus thàinig focal an Tighearna
do m'ionnſuidh an dara h-uair, ag
ràdh,
4 Gabh an crios a fhuair thu, a ta
air do leaſraibh, agus éirich, imich gu
Euphrates, agus folaich an ſin e, ann
an toll do'n charraig.
5 Is amhuil a dh'imich mi agus
dh'fholaich mi e aig Euphrates, mar
a dh'àithn an Tighearn dhomh.
6 Agus tharladh an déigh mhòrain
laithean, gu'n dubhairt an Tighearn
rium, Eirich, imich gu Euphrates, a-
gus thoir as ſin an crios a dh'àithn
miſe dhuit fholach anns an àite ſin.
7 An ſin dh'fhalbh mi gu Euph-
rates, agus chladhaich mi, agus thug
mi an crios as an àite ſan d'fholuich
mi e; agus feuch, bha'n crios millte,
cha b'fhiù air ſon ni ſam bith e [a].
8 An ſin thàinig focal an Tigh-
earna do m'ionnſuidh, ag ràdh,
9 Mar ſo deir an Tighearn; Air
a' mhodh ſo millidh miſe uaill Iudah,
agus uaill mhòr Ieruſaleim.
10 An ſluagh olc ſo, tha diùltadh
mo bhriathran-ſa éiſdeachd, a tha
ſiubhal a réir cruais an cridhe féin,
agus a' dol an déigh dhée coimheach,
gu ſeirbheis a dheanamh dhoibh, agus
gu aoradh a thoirt doibh; bithidh iad
eadhon mar an crios ſo, nach fiù air
ſon ni ſam bith.
11 Oir mar a dhlù-leanas an crios
ri leaſraibh duine, mar ſin thug mis'
air tigh Iſraeil uile, agus air tigh
Iudah uile, dlù-leantuinn riumſa, deir
an Tighearn; a chum gu'm biodh iad
dhomh mar ſhluagh, agus mar ainm,
agus mar chliù, agus mar ghlòir: ach
cha'n éiſdeadh iadſan.
12 Labhraidh tu riu-fòs am focal
ſo, Mar ſo deir Iehobhah Dia Iſraeil;
Lìonar gach ſoireadh le fìon. Agus
their iad riut, Nach 'eil fios cinnteach
againn gu lìonar gach ſoireadh le
fìon?
13 An ſin their thu riu, Mar ſo
deir an Tighearn, Feuch lìonaidh miſe
luchd-àiteachaidh na tìre ſo air fad,
eadhon na rìghrean a tha nan ſuidhe
'n àite Dhaibhidh air a rìgh-chaithir,
agus na ſagairt, agus na fàidhean, agus
uile luchd-àiteachaidh Ieruſaleim, le
miſg.
14 Agus pronnaidh mi iad an agh-
aidh a chéile, eadhon na h-aithrichean
agus na mic le chéile, deir an Tigh-
earn; cha ghabh mi truas, ni mò
choigleas mi, ni mò a ni mi iochd, air
chor as nach ſgrioſainn iad.
15 Eiſdibh, agus thugaibh aire, na
bithibh uaibhreach; oir labhair an
Tighearn.
16 Thugaibhſe glòir do'n Tigh-
earn' bhur Dia, mu'n dthig an dorch-
adas, agus mu'n tuiſlich 'ur caſan air
ſléibhte na doilleireachd; an ſin, an
uair bhios 'ur ſùil ri ſolus, caochailear
e gu ſgàile bhàis, eadhon gu dorchadas
tiugh.
17 Ach mar éiſd ſibh ris, guilidh
m'anam ann an ionadaibh uaigneach
air ſon 'ur n-uabhair, agus guilidh mo
ſhùil gu goirt, agus ſilidh mo dheoir
gu pailt, a chionn gu toirear ann am
bruid trèud an Tighearna.

18 Abair

[a] *cha robh feum ſam bith ann; cha robh ſtà ſam bith ann.*

18 Abair ris an righ, agus ris a'
bhan-righinn, Iriſlichibh ſibh féin,
ſuidhibh ſìos; oir leagar ſìos bhur
culaidh-chinn, *eadhon* crùn bhur glòire.
19 Tha bailtean na h-airde deas
air an druideadh ſuas, agus cha'n 'eil
neach '*gam* foſgladh; tha Iudah uile
air a toirt am brùid, tha i gu h-iomlan
air a toirt am braighdeanas.
20 Tog ſuas do ſhùilean agus faic
iadſan a ta teachd o'n airde tuath:
c'àit am bheil an treud *a* thugadh
dhuit, caoirich do mhaiſe? [a]
21 Ciod a their thu an uair a thig
ſmachdachadh ort? an déigh dhuit a
theagaſg dhoibh riaghladh tharad mar
cheannardan? nach dean ioghanna do
ghlacadh, amhuil mnaoi ri ſaothair?
22 Agus an uair a their thu ann
ad chridhe, C'ar ſon a thàinig na nithe
ſo orm? Air ſon meud do chionta tha
do ſgiortan air an leigeadh ris, tha do
ſhàiltean air an rùſgadh.
23 Am feud an t-Etiopach a chraic-
ionn a mhùthadh, no an liopard a
bhreice? an ſin feudaidh ſibhſe, bha
cleachdta ri olc, maith a dheanamh.
24 Air an aobhar ſin ſgapaidh mis'
iad mar an aſbhuain, a ſhiubhlas air
falbh le gaoith an fhàſaich.
25 Is e ſo do chrannchur, an cuibh-
rionn a thomhaiſeadh leamſa air do
ſhon, deir an Tighearn; a chionn
gu'n do dhi-chuimhnich thu miſe, a-
gus gu'n do chuir thu do dhòchas anns
a' bhréig.
26 Uime ſin leigidh miſe do ſgiort-
an ris air do bheulaobh, a chum as gu
faicear do nàire.
27 Chunnaic mi d'adhaltranas, a-
gus do ſhitrich, agus do ſtriopachas
mi-nàrach, do ghràinealachdan air na
cnocaibh, anns a' mhachair. Mo
thruaighe thu, O Ieruſaleim! nach
bi thu air do ghlanadh? c'uin idir *a
bhitheas ſin?*

CAIB. XIV.

FOCAL an Tighearna, a thàinig
gu Ieremiah do thaobh na
goinne, [b]
2 Tha Iudah ri bròn, dh'fhàs a
geatachadh lag; tha iad duaichnidh [c]
air an làr, agus tha gaoir Ieruſaleim
air dol ſuas.
3 Chuir na h-uaiſlean fòs an clann
bheag a dh' iarruidh uiſge; thàinig
iad gus na ſluichd, cha d'fhuair iad
uiſge ſam bith; phill iad le 'n ſoithich-
ibh falamh; bha nàire agus maſladh
orra, chòmhdaich iad an cinn.
4 A chionn gu bheil am fearann na
ſmùr, oir cha robh uiſge [d] anns an
tìr; ghabh na treabhaichean nàire,
dh'fholuich iad an cinn.
5 Seadh fòs, rug an eilid a laogh
anns a' mhachair, agus thréig i *e*,
chionn nach *robh* feur ann.
6 Agus ſheas na h-aſala fiadhaich
air na h-ionadaibh arda, tharruing iad
ſuas a' ghaoth mar dhràgonaibh;
dh'fhàilnich an ſùilean a chionn nach
robh feur ann.
7 Ged tha ar n-ea-ceartean a'
tabhairt fianuis nar n-aghaidh, O
Thighearn, dean thuſa air ſgàth
d'ainme féin: oir tha ar cùl-ſleamhn-
achaidh lionmhor, pheacaich ſinn a
d'aghaidh.
8 O dhòchais Iſraeil, a ſhlànui'fhear
ri àm airce, c'uim am bitheadh tu mar
choigreach anns an tìr? agus mar
fhear-turuis a thionndaidheas a leth-
taobh gu fuireach car oidhche?
9 C'uim am bitheadh tu mar neach
ann an ſuain chadail? [e] mar ghaiſ-
geach aig nach 'eil cumhachd gu
tearnadh? Gidheadh tha thuſa, O
Thighearn, nar meadhon, agus ortſa
tha ſinn air ar n-ainmeachadh, na dean
ar tréigſinn.
10 Mar ſo deir an Tighearn do
thaobh an t-ſluaigh ſo, Mar ſo bu toil
leo dol air ſeachran, cha do chum iad
air an ais an caſan; uime ſin cha ghabh
an Tighearn riu, cuimhnichidh e *nis*
an aingidheachd, agus cronuichidh e
'n cionta.
11 Uime ſin thubhairt an *Tigh-
earn* rium, Na guidh a leth an t-
ſluaigh ſo air ſon an leas.
12 An uair a thraiſgeas iad, cha'n
éiſd miſe r'an glaodh; agus an uair a
dh'iobras iad iobairt-loiſgte agus tabh-
artas, cha ghabh mis' iad; ach leis
a'.

[a] *ſgèimhe.* [b] *an tairt.* [c] *dh'fhàs iad dubh.* [d] *feurthuinn.*
[e] *na bhreiſlich?*

a' chlaidheamh, agus leis a' ghort, agus leis a'phlàigh, cuiridh mi as doibh.

13 An sin thuirt mise, Och! a Thighearna Dhia! feuch, tha na fàidhean ag ràdh riu, Cha 'n fhaic sibh an claidheamh, ni mo thig gort oirbh, ach sìth chinnteach bheir mise dhuibh anns an àite so.

14 An sin thuirt an Tighearn rium, Tha na fàidhean ri fàisneachd bhréige ann am ainmsa; cha do chuir mise uam iad, ni mò thug mi àithne dhoibh, ni mò labhair mi riu: sealladh breugach, agus fiosachd, agus neo-nì, agus mealltoireachd an cridhe féin, tha iad a' fàisneachd dhuibh.

15 Uime sin mar so deir an Tighearn; Do thaobh nam fàidhean a tha ri fàisneachd ann am ainmsa, ged nach do chuir mise mach iad, agus ag ràdh, Cha bhi claidheamh agus gorta san fhearann so, le claidheamh agus le gorta bidh na fàidhean sin air an caitheamh.

16 Agus bidh an sluagh do 'n d'rinn iad fàisneachd air an tilgeadh a mach ann an sràidibh Ierusaleim, fa chùis [a] na gorta, agus a'chlaidheimh, agus cha bhi neach ann a dh'adhlaiceas iad; iad féin, am mnathan, agus am mic, agus an nigheanan: oir taomaidh mise orra féin an aingidheachd.

17 Agus labhraidh tu riu am focal so; Sileadh mo shùilean le deuraibh a dh'oidhch' is do là, agus na sguireadh iad: oir tha òigh-nighean mo shluaigh air a dochann le dochann mòr, le buille ro-chràiteach.

18 Ma théid mi mach do'n mhachair, an sin feuch iadsan a mharbhadh leis a' chlaidheamh! agus ma théid mi steach do'n chathair, an sin feuch iadsan a ta air an claoidh leis a' ghorta! seadh, tha am fàidh, agus fòs an sagart ag imeachd air chuairt, gu talamh anns nach 'eil iad còlach.

19 An do chuir thu gu tur cùl ri Iudah? an d' fhuathaich t-anam Sion? c'uim an do bhuail thu sinn, agus gun aon chobhair againn? bha ar sùil ri sìth, ach maith cha *d'thàinig;* agus ri àm leighis, agus feuch àmhghar!

20 Tha sinn ag aideachadh, O Thighearn, ar n-aingidheachd féin, agus ea-ceairt ar n-aithrichean: oir pheacaich sinn a t'aghaidh-sa.

21 Na tilg uait sinn air sgàth t-ainme féin, na maslaich caithir do ghlòire: cuimhnich, na bris do choimhcheangal ruinn.

22 Am bheil aon air bith am measg dhìomhanas nan cinneach a's urradh uisge thoirt seachad? no'n urradh na nèamha frasan a thabhairt? nach tu féin an ti *a ni sin*, O Thigearn ar Diane? air an aobhar sin, feithidh sinne riut: oir is tu a rinn na *nithe* so uile.

C A I B. XV.

AN sin thubhairt an Tighearn rium; Ged sheasadh Maois agus Samuel am làthair, cha bhiodh m'anam leis an t-sluagh so; cuir a mach iad as m'fhianuis, agus siùbladh iad air falbh.

2 Agus tarlaidh, ma their iad riut, C'àit an siubhail sinn air falbh? an sin their thu riu, Mar so deir an Tighearn, Iadsan a ta air son bàis, a chum bàis; agus iadsan a ta air son a'chlaidheimh, a chum a' chlaidheimh; agus iadsan a ta air son na gorta, chum na gorta; agus iadsan a ta air son na bruid, a chum braighdeanais.

3 Agus orduichidh mise os an cionn ceithir seorsanna, deir an Tighearn; an claidheamh gu marbhadh, agus na coin gu reubadh, agus eunlaith an athair, agus beathaichean na machrach, gu itheadh agus gu milleadh.

4 Agus fuadaichidh mi iad air feadh uile rioghachdan an domhain, air son Mhanaich, mhic Heseciah, righ Iudah, air son *nan nithe sin* a rinn e ann an Ierusalem.

5 Oir cò ghabhas truas dìot, O Ierusalem? no cò ni bròn leat? no cò théid a leth-taobh, a dh'fheòrach cionnus a tha thu?

6 Thréig thu mise, deir an Tighearn, chaidh thu air t'ais; air an aobhar sin, sìnidh mise mo làmh a mach a't'aghaidh, agus sgriosaidh mi thu; tha mi sgìth do ghabhail aithreachais.

7 Uime sin dh'fhuadaich mi iad le inneal fasgnaidh ann an geatachaibh na

[a] *do bhrigh.*

na tìre: dh'fhàg mi gun chlann, ſgrios
mi mo ſhluagh; o'n ſlighibh cha do
phill iad.
8 Rinneadh am bantraichean ni bu
lionmhoire leamſa na gaineamh na
fairge: thug mi 'n aghaidh na màthar
agus nam mac fear-millidh ann am
meadhon an là: thug mi air nàmhaid
agus air uamhaſan bualadh oirre gu
h-obann.
9 Dh'fhannaich iſe a rug ſeachdnar,
thug i ſuas an deò; chaidh a grian
ſios am feadh a ta ſathaſd an là ann;
nàraicheadh agus mhaſluicheadh i:
agus na mhaireas diubh bheir miſe
do'n chlaidheamh ann am fianuis an
nàimhdean, deir an Tighearn.
10 Mo thruaighe miſe, O mo mhàth-
air! oir rug thu mi a'm'fhear ſtrì,
agus a'm'fhear-connſachaidh anns an
fhearann uile; cha d'thug mi ſeachad
air ocar, ni mò thug aon neach air
ocar dhomh; *gidheadh* tha iad uile 'gam
mhalluchadh.
11 Thubhairt an Tighearn, Gu
cinnteach éirigh gu maith do t'iarm-
ad, gu cinnteach bheir mi air an
nàmhaid bhi bàigheil riut ann an àm
na h-airce, agus ann an àm a'chruaidh-
chais.
12 Am bris eſan iarunn na bloighd-
ibh, iarunn o thuath agus umha?
13 Do mhaoin agus d'ionnaſan bheir
miſe mar chreich, cha'n ann air ſon
luach, ach air-ſon d'uile lochdan;
ſeadh ann ad uile chrìochaibh.
14 Agus bheir mi *orra* ſiubhal air
falbh le d' nàimhdibh gu fearann air
nach robh thu eòlach; oir tha teine
air 'fhadadh ann am fheirg, *agus*
laſaidh e 'n'ur n-aghaidh.
15 Agadſa tha fios, O Thighearn;
cuimhnich ormſa, agus thig do m'amh-
arc, agus thoir dhomh aichbheil air
mo luchd-tòrachd; [a] ann am buanas
t'fheirge na toir air falbh mi; thoir
fainear gu 'n d'fhuiling mi maſladh air
do ſgàth.
16 Fhuaradh do bhriathran, agus
dh'ith mi ſuas iad; agus bha t'fhocal
dhomh na aoibhneas, agus na ghàird-
eachas do m' chridhe; oir tha mi air
m'ainmeachadh ortſa, O Iehobhah
Dhia nan ſluagh.
17 Cha do ſhuidh mi ann an cuid-
eachd luchd-fochaid, ni mò bha mi
ſubhach; air ſon do làimhſe ſhuidh
mi ann am aonar; a chionn gu 'n do
lìon thuſa mi le boile.
18 C'uim am bheil mo ghoith gun
laſachadh? agus mo chreuchd bàſ-
mhor, a' diùltadh a bhi air a leigheas?
c'ar ſon a bhios tuſa dhomh uile gu
léir amhuil ſruthan mealltach, as nach
feudar earbſadh?
19 Uime ſin mar ſo deir an Tigh-
earn, Ma philleas tu, an ſin bheir mis'
air t'ais thu, *agus* [b] ſeaſaidh tu ann
am làthair: agus ma ſgaras tu an
luachmhor o'n ni nach fiù, mar mo
bheul-ſa bithidh tu: pillidh iad ſo
riutſa, ach cha phill thuſa riuſan. [c]
20 Agus ni miſe dhìot, an aghaidh
an t-ſluaigh ſo, balla làidir umha; an
uair a chathaicheas iad a' t'aghaidh
cha toir iad buaidh ort: oir tha miſe
maille riut, a chum do dhìon, agus a
chum do thearnadh, deir an Tigh-
earn.
21 Agus ſaoraidh mi thu o làimh
nan aingidh, agus fuaſglaidh mi thu o
ghreim nan uamhaſach.

CAIB. XVI.

THAINIG focal an Tighearna fòs
do m'ionnſuidh, ag ràdh,
2 Cha ghabh thu dhuit féin bean,
ni mò bhios agad mic no nigheanan
anns an àite ſo.
3 Oir mar ſo deir an Tighearn;
Do thaobh nam mac, agus do thaobh
nan nigheanan, *a ta* air am breith anns
an àite ſo, agus do thaobh am màith-
richean a rug iad, agus do thaobh an
aithrichean a ghin iad, anns an tìr ſo;
4 Le bàs doilgheaſach bàſaichidh
iad; cha chaoidhear iad, agus cha 'n
adhlaicear iad; mar aolach air aghaidh
na talmhainn bithidh iad; le claidh-
eamh fòs, agus le gorta, caithear iad;
agus bidh an cairbheannan mar lòn do
eunlaith an athair, agus do bheathaich-
ibh na talmhainn.
5 Oir mar ſo deir an Tighearn,
Cha

[a] *dìol mi air luchd mo gheur-leanmhuinn.* [b] *Ma philleas tu agus gu dtoir mis air d'ais thu.* [c] *pilleadh iad ſo riutſa, ach na pill thuſa riuſan.*

Cha dthéid thu ſteach do thigh a' bhròin, ni mò théid thu dheanamh caoidh, no thoirt dhoibh co-fhurtachd; oir thug miſe air ſalbh mo ſhìth ò'n t-ſluagh ſo, deir an Tighearn, caoimhneas gràdhach agus caomh-thròcairean.

6 Agus gheibh iad bàs, eadar bheag agus mhòr, anns an tìr ſo; cha'n adhlaicear iad, agus cha deanar caoidh air an ſon; cha ghearr aon neach e féin, ni mò ni aon neach e féin maol air an ſon.

7 Agus cha bhris *daoine aran* nam meaſg, ri àm bròin, a chum co-fhurtachd a thoirt doibh air ſon neach a fhuair bàs; ni mò bheirear dhoibh deoch a cupan na co-fhurtachd, air ſon athar neach, no air ſon a mhàthar.

8 Mar an ceudna cha dthéid thu gu tigh na cuirme, gu ſuidhe ſìos maille riu a dh'itheadh agus a dh'òl.

9 Oir mar ſo deir an Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil, Feuch, cuiridh miſe na thoſd anns an àite ſo, ſa chomhair 'ur ſùl-ſa, agus ann 'ur laithibh, guth an t-ſubhachais, agus guth an aoibhneis, guth an fhir nuadh-phòſda, agus guth na mnà nuadh-pòſda.

10 Agus tarlaidh, an uair a dh'innſeas tu do'n t-ſluagh ſo na nithe ſo uile, agus a their iad riut, C'ar ſon a labhair an Tighearn nar n-aghaidh an t-olc mòr ſo uile? agus ciod i ar n-aingidheachd, agus ciod e ar lochd, a chuir ſinn an gnìomh an aghaidh an Tighearna ar Dia?

11 An ſin their thuſa riu, A chionn gu'n do thréig bhur n-aithrichean miſe, deir an Tighearn, agus gu'n deachaidh iad air lorg dhée eile, agus gu'n d'thug iad ſeirbhis dhoibh, agus gu'n d'thug iad dhoibh aoradh, agus gu'n do thréig iad miſe, agus nach do choimhid iad mo reachd.

12 Agus gu'n d'rinn ſibhſe ni's meaſa na bhur n-aithrichean, oir feuch tha ſibh ag imeachd, gach aon a réir ais-innleachd a dhroch chridhe féin, gun ghéill a thoirt dhomhſa.

13 Uime ſin tilgidh mi ſibh a mach as an tìr ſo, gu tìr air nach d'fhuair ſibh eòlas, ſibh féin no 'ur n-aithrichean; agus an ſin ni ſibh ſeirbhis do dhéibh coimheach, a latha agus a dh'oidhche, a chionn nach dean miſe tròcair oirbh.

14 Uime ſin, feuch tha na laithean a'teachd, deir an Tighearn, anns nach abrar ni's mo, Mar is beo an Tighearn, a thug a nìos clann Iſraeil a talamh na h-Eiphit;

15 Ach, Mar is beo an Tighearn, a thug air an ais clann Iſraeil o thalamh na h airde tuath, agus o gach talamh gus an d'fhògair e iad; oir bheir miſe air an ais iad gu'm fearann féin, a thug mi do 'n aithrichibh.

16 Feuch cuiridh mi fios air mòran iaſgairean, deir an Tighearn, agus ni iad an iaſgach; agus na dhéigh ſin, cuiridh mi fios air mòran ſhealgairean, agus ni iad an ſealg, o gach uile ſhliabh, agus o gach uile chnoc, agus o ſgeiribh nan creag.

17 Oir tha mo ſhùilean-ſa air an uile ſhlighibh; cha 'n 'eil iad foluichte o m' ghnùis, ni mò tha an aingidheachd air a comhdachadh o fhradharc mo ſhùl.

18 Agus dìolaidh mi le tomhas dùbailte [a] an aingidheachd agus an lochd, a chionn gu 'n do thruaill iad m'fhearann le ſailchead [b] an gnìomhara fuathach; agus le 'n gràinealachdaibh lion iad m'oighreachd.

19 O Thighearn, mo neart, agus mo dhaingneach, agus mo dhìdein ann an là na h-airce [c]; do d'ionnſuidh-ſa thig na cinnich o chrìochaibh na talmhainn, agus their iad, Gu deimhin ſhealbhuich ar n-aithriche ni gun bhrìgh; dìomhanas, agus *nithe* gun tàirbhe.

20 An dean duine dha féin dée, agus nach 'eil iad nan dée? [d]

21 Air an aobhar ſin, foillſichidh mi dhoibh, air an aon uair ſo, foillſichidh mi dhoibh mo làmh agus mo chumhachd, agus bidh fios aca gur e m'ainm Iehobhah.

CAIB. XVII.

THA peacadh Iudah air ſcrìobhadh le peann iaruinn; le roinn daoimein

[a] *dà-fhillte.* [b] *clàſaichibh.* Eabh. [c] *na teinn; a' chruaidh-chois.* [d] *do nithe nach'eil nan dée?*

mein tha e air a ghearradh, air clàr
an cridhe, agus air adharcaibh an [a] al-
tairean:
2 Am feadh a ta an clann a' cuimh-
neachadh an altairean, agus an doir-
eachan, aig na crannaibh uaine, air
na cnocaibh arda.
3 O mo fhliabh anns a' mhachair, do
mhaoin, agus do thaifgeacha gu h-iom-
lan, bheir mi thairis do 'n chreich;
t'ionadan làidir, air fon peacaidh, air
feadh t'uile chrìochan.
4 Agus fògrar thu, eadhon thusa
féin, o d'oighreachd a thug mi dhuit,
agus bheir mi ort feirbhis a dheanamh
do d'naimhdibh ann an tìr anns nach
'eil thu eòlach: a chionn gu 'n d'fhad-
aidh sibh, ann am fheirg-sa, teine a
loifgeas gu fiorruidh.
5 Mar so deir an Tighearn, Is
malluichte an neach a chuireas adhòch-
as ann an duine, 's a ni feoil na gaird-
ean da, 's aig am bheil cridhe ta claon-
adh air falbh o'n Tighearn.
6 Oir bidh e mar phreas feargta
fan ionad fgaoilte, nach mothaich am
maith an uair a thig e; ach a ta 'g
àiteachadh ionada loifgte an fhàfaich,
fearainn gun toradh agus gun chòmh-
nuidh.
7 Is beannuichte an neach a dh'earb-
as as an Tighearn, agus a chuireas a
dhòchas ann an Iehobhah. [b]
8 Oir [c] bidh e mar chraoibh air a
fuidheachadh ri taobh nan uifgeachan,
a fgaoileas a mach a freumhan ri taobh
an t-frutha, agus nach mothaich c'uin
a thig an tart; ach aig am bi a duill-
each uaine, 's air nach bi iomguin ann
am bliadhna na tiormachd, ni mò
fguireas i thoirt feachad toraidh.
9 Tha an cridhe cealgach thar na
h-uile *nithe*, agus *tha e* do-leigheas; [d]
cò 's urradh a thuigfinn?
10 Tha mife Iehobhah a' rannfach-
adh a' chridhe, agus a' fgrùdadh nan
àirnean, a chum gu tabhair mi do gach
neach a reir a fhlighe, agus do reir
toraidh a dheanadais.
11 *Mar* a' chearc a ni gur *air uigh-
ean*, agus nach toir a mach eoin, [tha]
efan a gheibh beartas, a chnach ann le
còir; ann am meadhon a laithean
dealuichidh e ris; agus na chrìch
dheireannaich bithidh e na amadan.
12 Is righ-chaithir ghlòirmhor, ar-
duichte o chian, àit ar n-ionaid
naomha-ne.
13 O Thighearn, cufpair-dòchais
Ifraeil, bithidh amhluath air gach aon
a thréigeas thu; fcriobhar iad nan
luchd-ceannairc fan talamh; a chionn
gu'n do thréig iad an Tighearn, tobar
nan uifgeacha beo.
14 Leighis mi, O Thighearn, agus
bithidh mi air mo leigheas; flànuich
mi, agus bithidh mi air mo fhlànuch-
adh; oir is tu mo mholadh.
15 Feuch, tha iad fo ag ràdh rium,
C'àit am bheil focal an Tighearna?
Thigeadh e nis.
16 Ach cha d'rinn mi deifir o bhi
a'm'fhear-coimhid a'd'dhéigh-fa, agus
là na h-iarguin cha d'iarr mi; agad
féin tha fios air an ni a thàinig a
mach as mo bheul, bha e ann ad làth-
air.
17 Na bi a'd'uamhas domh; is tu
mo dhìdein ann an là na h-airce.
18 Biodh nàir' air a' mhuinntir a
ta 'g am ruagadh, ach na nàraichear
mife: biodh iadfan fo gheilt, ach na
biodh geilt ormfa: thoir thus' orra là
na dòrainn, agus le fgrios ath-bhuailte
fgrios iad.
19 Mar fo thubhairt an Tighearn
rium; Falbh agus feas ann an geata
cloinne 'n t-fluaigh, air an dthig righ-
rean Iudah a fteach, agus air an dthéid
iad a mach, agus ann an uile gheatach-
aibh Ierufaleim;
20 Agus abair riu, Cluinnibhfe fo-
cal an Tighearna, a righrean Iudah,
agus a Iudah uile, agus uile luchd-
àiteachaidh Ierufaleim, a ta teachd a
fteach air na geatacha fo.
21 Mar fo deir an Tighearn, *Thug-
aibh* aire dhuibh féin, agus na giùl-
ainibh uallach air bith air là na fàb-
aid, agus na tugaibh a fteach i air
geatachan Ierufaleim;
22 Ni mò bheir fibh a mach uallach
as bhur tighibh air là na fàbaid, ni mò
ni fibh obair air bith; ach naomhaich-
ibh

[a] *bhur.* [b] *air bithidh an Tighearn na chùl-taice dha.* [c] *Agus.*
[d] *lag; eaflan.*

ibh là na sàbaid, mar a dh'àithn mise do 'r n-aithrichibh.

23 Ach cha d' thug iadsan géill, ni mò dh' aom iad an cluas, ach rinn iad am muineal rag, air chor as nach éisdeadh iad, agus air chor as nach gabhadh iad teagasg.

24 Ach tarlaidh, ma dh' éisdeas sibh gu cùramach riumsa, deir an Tighearn, gun uallach sam bith a thoirt a steach trid gheatachan a' bhaile so air là na sàbaide, ach là na sàbaid a naomhachadh, gun obair sam bith a dheanamh air:

25 An sin théid a steach air geatachan a' bhaile so, rìghrean agus prionnsachan, nan suidhe air righchaithir Dhaibhidh, a' marcachd air charbadaibh, agus air eachaibh, iad féin agus an ceannardan, fir Iudah, agus luchd-àiteachaidh Ierusaleim; agus daingnichear gu bràth a' chathair so.

26 Agus thig iad o bhailtibh Iudah, agus o na h-àiteachaibh timchioll Jerusaleim, agus o fhearann Bheniamin, agus o n' chòmhnard, agus o na beanntaibh, agus o'n airde deas, a'toirt leo thabhartasa-loisgte, agus ìobairtean, agus thabhartasa-bìdh, agus tùise, a' toirt iobairtean molaidh gu tigh an Tighearna.

27 Ach mur éisd sibh riumsa, chum là na sàbaid a naomhachadh, agus gun uallach a ghiùlan, a' dol a steach air geatachan Ierusaleim air là na sàbaid: an sin fadaidh mise teine na geatachaibh, agus loisgidh e lùchairtean Ierusaleim, agus cha 'n fheudar a mhùchadh.

C A I B. XVIII.

AM focal a thàinig a dh'ionnsuidh Ieremiah o'n Tighearn, ag ràdh,

2 Eirich, agus imich sìos gu tigh a' chriadhadair, agus an sin bheir mise ort mo bhriathran a chluinntinn.

3 An sin chaidh mi sìos gu tigh a' chriadhadair, agus feuch, bha e deanamh oibre air na leacaibh.

4 Agus bha 'n soitheach a bha e deanamh do chriadh, air a mhilleadh ann an làimh a' chriadhadair; an sin rinn e dheth a rìs soitheach eile, mar a chunnacas ceart do 'n chriadhadair a dheanamh.

5 An sin thàinig focal an Tighearna do m' ionnsuidh, ag ràdh,

6 O thigh Israeil, nach feud mis' a dheanamh ruibhse mar an criadhadair so? deir an Tighearn. Feuch, mar a' chriadh an làimh a' chriadhadair, is amhuil sin sibhse ann mo làimh-sa, O thigh Israeil.

7 C'uin air bith a labhras mise mu thimchioll cinnich, agus mo thimchioll rioghachd, gu spìonadh a nìos, gu leagail sìos, agus gu sgrios;

8 Ma philleas an cinneach sin an aghaidh an do labhair mi, o'n olc; gabhaidh mise aithreachas do 'n olc a bha ann am aire thoirt orra.

9 Agus c'uin air bith a labhras mi mu thimchioll cinnich, agus mu thimchioll rioghachd, gu 'thogail, agus gu 'shuidheachadh;

10 Agus gu'n dean e an ni sin a ta olc ann am shealladh, agus nach bi e umhal do m' ghuth; an sin gabhaidh mi aithreachas do 'n mhaith a bha romham a dheanamh dhoibh.

11 A nis, uime sin, imich agus labhair ri fearaibh Iudah, agus ri luchd-àiteachaidh Ierusaleim, ag ràdh, Mar so deir an Tighearn, Feuch, tha mise a' cumadh uilc 'n 'ur n-aghaidh, agus a' dealbh innleachd 'n 'ur n-aghaidh: pillibh a nis gach aon o 'dhroch shlighe, agus leasuichibh 'ur sligheanna agus 'ur gnìomhara.

12 Ach thuirt iadsan, Cha 'n 'eil dòchas ann; oir gluaisidh sinn a réir ar smaointe féin, agus ni sinn, gach aon *do réir* tograidh a dhroch chridhe féin.

13 Uime sin mar so deir an Tighearn, Feòruichibh a nis am measg nan cinneach, cò chuala an samhuil so do nithe? rinn òigh Israeil ni ro-ghràineil.

14 An tréig duine mo mhagh-sa air son carraige, *air son* sneachda Lebanoin? an tréigear am fuar uisgeruith air son uisgeachan eile?

15 Ach dhi-chuimhnich mo shluagh mise, loisg iad tùis do dhìomhanas, agus thug iad orra tuisleachadh nan sligheachaibh a bha nan seann ròidibh, gu gluasad air ceumaibh *eile*, *air* slighe nach 'eil deanta.

16 A chum am fearann a dheanamh fàs, na bhall-àbhacais bith-bhuan: gabhaidh

gabhaidh gach neach a théid ſeachad
air mòr iongantas, agus crathaidh e a
cheann.
17 Sgapaidh mis' iad mar gu b'ann
le gaoith an ear roimh an nàmhaid;
tionndaidhidh mi riu mo chùl, is cha
'n i m' aghaidh, ann an là an léir-
ſgrios.
18 An ſin thubhairt iad, Thigibh,
agus dealbhamaid innleachdan an
aghaidh Ieremiah: oir cha bhàſaich
an reachd o'n t-ſagart, no comhairle
o 'n eagnuidh, no 'm focal o 'n fhàidh.
Thigibh, agus buaileamaid e leis an
teangaidh, agus na dthugamaid aire do
aon d'a bhriathraibh.
19 Thoir thuſa, O Iehobhah, aire
dhomh, agus cluinn guth na muinntir
a ta ri ſtrì rium.
20 An dìolar olc air ſon maith?
Gu cinnteach chladhaich iad ſlochd
air ſon m' anama. Cuimhnich cion-
nus a ſheas mi ann ad fhianuis, a
dheanamh eadar-ghuidh a chum an
leas, a thionndadh do chorruich air
falbh uatha.
21 Uime ſin thoir thuſa thairis an
clann do 'n ghorta, 's thoir orra leagh-
adh as[a] le neart a' chlaidheimh;
biodh am mnathan air am fàgail gun
chlann, agus iad nam bantraichean,
agus faigheadh am fir bàs leis a'phlàigh,
agus marbhar an òganaich anns an
àraich leis a' chlaidheamh.
22 Cluinnear gaoir as an tighean,
an trà bheir thuſa feachd orra gu
h-obann; oir chladhaich iad ſlochd
gu mis' a ghlacadh, agus ſhuidhich
iad lìontan air ſon mo chas.
23 Ach agadſa, O Thighearn, tha
fios air an innleachdaibh uile an agh-
aidh m' anama; na maith an cionta,
's na glan an lochd a mach a' t'fhian-
uis: ach tilgear iad thairis ann ad
làthair; tionſgain nan aghaidh ann an
àm do chorruich.

CAIB. XIX.

*MAR ſo thubhairt Iehobhah rium-
ſa, Falbh agus faigh criadh-
ſhoitheach criadhadair, agus thoir leat
cuid do ſheanairibh an t-ſluaigh, agus
do ſheanairibh nan ſagart;*
2 *Agus théid thu mach gu gleann
mhic Hinoim, a ta fa chomhair a'*
gheata Harſit, agus glaodhaidh tu
anns an àite ſin na briathran a labhras
miſe riut;
3 Agus their thu, Eiſdibhſe focal
an Tighearna, O a righrean Iudah,
agus a luchd-àiteachaidh Ieruſaleim,
Mar ſo deir an Tighearn nan ſluagh,
Dia Iſraeil; feuch, bheir miſe olc air
an àite ſo, a bheir air neach ſam bith
a chluinneas e gu'm bi gaoir na chluaſ-
aibh:
4 A chionn gu 'n do thréig iad
miſe, agus gu 'n d'rinn iad an t-àite
ſo coimheach, agus gu 'n do loiſg iad
tùis ann do dhéibh eile, nach b'aithne
dhoibh; iad féin, agus an aithrichean,
agus righrean Iudah, agus gu 'n do
lìon iad an t' àite ſo le fuil neo-chiont-
ach:
5 Agus gu 'n do thog iad ionadan
arda Bhaail, a chum am mic a loſgadh
anns an teine, *mar* thabhartais loiſgte
do Bhaal; *ni* nach d'àithn miſe, ni mò
labhair mi, ni mò thàinig e ann am
aire:
6 Uime ſin, feuch, tha na laithean
a' teachd, deir an Tighearn, anns
nach abrar ris an àite ſo ni 's mò
Tophet, no gleann mhic Hinoim, ach
gleann a' mharbhaidh.
7 Agus cuiridh miſe gu neo-brigh
comhairle Iudah agus Ieruſaleim anns
an àite ſo; agus bheir mi orra tuiteam
leis a' chlaidheamh an làthair an
naimhdean, agus le làimh na muinntir
a ta 'g iarruidh an anama: agus bheir
mi an colannan mar bhiadh do eun-
laith an athair, agus do bheathaichibh
na talmhainn.
8 Agus ni mi a' chathair ſo na
fàſach, agus na ball-ſgeig: bidh mòr-
ioghnadh air gach neach a théid ſeach-
ad oirre, agus ni e ſgeig air ſon a
h-uile phlàighean.
9 Agus bheir mis' orra gu 'n ith
iad feoil am mac, agus feoil an nigh-
eana; agus ithidh iad, gach aon feoil a
charaid, anns a' chogadh, agus anns
an teinne, leis an teannaichear iad le 'n
nàimhdibh, agus leo-ſan a ta 'g iarruidh
an anama.
10 An ſin briſidh tu an ſoitheach
ann an ſealladh nan daoine a théid
maille riut,
11 Agus their thu riu, Mar ſo deir
an

[a] *dùirt a mach iad.*

an Tighearn nan ſluagh, Amhuil ſo
briſidh miſe an ſluagh ſo, agus a'
chathair ſo, mar a bhriſeas *neach* ſoith-
each a' chriadhadair, nach feudar a
ſhlànuchadh a rìs; agus adhlaicear
daoine ann an Tophet, gus nach *bi* àit
ann gu adhlacadh.
12 Mar ſo ni miſe ris an àite ſo,
deir an Tighearn, agus r'a luchd-
còmhnuidh, air chor as gu 'n deanar
a' chathair ſo eadhon mar Thophet.
13 Agus bidh tighean Ieruſaleim,
agus tighean righrean Iudah, amhuil
ionad Thophet, neo-ghlan; maille ris
na[a] tighean ſin air fad, air an d'rinn
iad tùis a loſgadh air am mullach do
uile fheachd nèimh, agus iobairtean-
dibhe a dhòrtadh a mach do dhéibh
coimheach.
14 Agus thàinig Ieremiah o Thoph-
et, gus an do chuir an Tighearn e gu
fàiſneachd, agus ſheas e ann an cùirt
tighe an Tighearna, agus thuirt e ris
an t-ſluagh uile,
15 Mar ſo deir an Tighearn nan
ſluagh, Dia Iſraeil, Feuch, bheir
miſe air a' chathair ſo, agus air a
h-uile bhailtibh, an t-olc ſin uile a
labhair mi na h-aghaidh; a chionn
gu 'n d'rinn iad am muineal rag, air
chor as nach éiſdeadh iad ri mo
bhriathraibh.

CAIB. XX.

AN uair a chuala Paſur mac Imeir
an ſagart, (a *bha* fòs na ard
uachdaran ann an tigh an Tighearna)
Ieremiah a' fàiſneachd nan nithe ſo:
2 An ſin bhuail Paſur Ieremiah
am fàidh, agus chuir e anns an tigh-
ſmachdachaidh[b] e, a bha aig geata
uachdrach Bheniamin, làimh ri tigh
an Tighearna.
3 Agus tharladh air an là màireach,
gu 'n do leig Paſur Ieremiah a mach
as an tigh-ſmachdachaidh. An ſin
thuirt Ieremiah ris, Cha 'n e Paſur a
thug an Tighearn mar ainm ort, ach
Magor-miſabib[c].
4 Oir mar ſo deir an Tighearn,
Feuch, ni miſe dhiot uamhas duit
féin, agus do d' uile chairdibh; agus
tuitidh iadſan le claidheamh an nàimh-
dean, agus do ſhùilean-ſa 'g amharc; a-
gus Iudah uile bheir mi do làimh
rìgh Bhabiloin, agus bheir e leis iad
ann am bruid gu Babilon, agus cuir-
idh e gu bàs iad leis a' chlaidheamh.
5 Agus bheir mi ſeachad uile neart
na cathrach ſo, agus a h-uile ſhaothair,
agus a h-uile nithe luachmhor; agus
uile bheartas righrean Iudah bheir mi
thairis do làimh an nàimhdean, a
chreachas iad, agus a ghlacas iad, a-
gus a bheir iad air falbh gu Babilon.
6 Agus thuſa, a Phaſuir, agus na
h-uile ta chomhnuidh ann ad thigh,
ſiùbhlaidh ſibh air falbh ann am
braighdeanas, agus théid thuſa gu
Babilon, agus an ſin gheibh thu bàs,
agus an ſin adhlaicear thu, thu féin
agus d' uile chairdean, do' n d'rinn
thu fàiſneachd bhréige.
7 Mheall thu mi, O Thighearn,
agus bha mi air mo mhealladh; is tu
a's treiſe na miſe, agus thug thu
buaidh: tha mi ann am chùis-mhagaidh
gach là, gach aon ri fanoid orm.
8 Oir co tric as a labhras mi, a
ghlaodhas mi mach *an aghaidh* ain-
neairt, no dh'éigheas mi léir-chreach,
tha focal an Tighearna air a dheanamh
dhomh na chùis-mhaſluidh agus fhan-
oid gach aon là.
9 An uair a their mi, Cha toir mi
iomradh air, ni mò labhras mi tuill-
eadh na ainm; an ſin tha e ann am
chridhe, mar gu'm b'e teine loiſgeach,
air a dhruideadh ſuas ann am chnàmh-
an; agus ged ſgìthich mi mi féin 'ga
chumail a ſteach, cha 'n urradh mi.
10 Oir chuala mi tuairiſgeul mhòr-
ain, Uamhas air gach taobh aithriſibhſe,
agus aithriſidh ſinne e: tha iadſan
uile ris an robh mi ann an sìth furach-
air air ſon mo thuiſlidh, *ag ràdh*,
Meallar e, agus gu faigh ſinn buaidh
air, agus gu'n gabh ſinn dioghaltas deth.
11 Ach tha an Tighearn leam mar
aon chumhachdach uamhaſach; air
an aobhar ſin tuiſlichidh mo luchd-
tòir, agus cha bhuadhaich iad: tha
iad air an ſionadh le nàire ro-mhòr, a
chionn nach do ſhoirbhich leo, le
maſladh bith-bhuan, nach leigear gu
bràth air di-chuimhn.

[a] *air ſon nan.* [b] *a'cheap.* [c] *Uamhas air gach taobh.*

12 Ach O Thighearna nan sluagh,
a dhearbhas am fìrean, *agus* a chi na
h-airnean agus an cridhe, faiceam
orra do dhioghaltas: oir dhuitse leig
mise ris mo chùis.

13 Seinnibhse do 'n Tighearn;
molaibhse an Tighearn, oir shaor e
anam a' bhochd a làimh nan aing-
idh.

14 Malluichte *gu robh* an là air an
d' rugadh mise, an là air an d'rug mo
mhàthair mi, nar robh e beannuichte.

15 Malluichte *gu robh* esan a thug
fios a dh'ionnsuidh m' athar, ag ràdh,
Tha leanabh mic air a bhreth dhuit,
g'a dheanamh ro-aoibhneach.

16 Agus biodh an duine sin mar na
bailtean a sgrios an Tighearn, agus mu
nach do ghabh e aithreachas; cluinn-
eadh e gaoir anns a' mhaduinn, agus
iolach anns a' mheadhon là;

17 A chionn nach do mharbh e mi
o'n bhroinn, no gu'm biodh mo mhàth-
air na h-uaigh dhomh, agus a brù an
còmhnuidh torrach *leam*.[a]

18 C'uim an d' thàinig mi mach
as a' bhroinn a dh' fhaicinn mi-
shuaimhneis agus bróin, agus a chaith-
eamh mo laithean ann am masladh?

CAIB. XXI.

AM focal a thàinig a chum Iere-
miah o 'n Tighearn, an uair a
chuir an righ Sedeciah d'a ionnsuidh
Pasur mac Mhelciah, agus Sephaniah
mac Mhaaseiah an sagart, ag ràdh,

2 Fiosruich, guidheamaid ort, do'n
Tighearn air ar son-ne, oir tha Ne-
buchadresar righ Bhabiloin a' cogadh
'nar n-aghaidh; a dh' fheuchainn an
dean an Tighearn ruinn do réir 'uile
bhearta iongantach, a chum gu'n dtèid
e suas uainn.

3 Agus thuirt Ieremiah riu, Mar
so their sibh ri Sedeciah;

4 Mar so deir an Tighearn Dia
Israeil, Feuch, tionndaidhidh mise air
an ais na h-airm-chogaidh a ta 'n 'ur
làmhan, leis am bheil sibh a' cogadh
an aghaidh righ Bhabiloin, agus an
aghaidh nan Caldéach a ta 'g'ur teann-
achadh air taobh a muigh a' bhallaidh,
agus cruinnichidh mi iad ann am
meadhon a' bhaile so.

5 Agus ni mise féin cogadh 'n 'ur
n-aghaidh le làimh sìnte mach, agus
le gàirdean treun, eadhon ann am
feirg, agus ann am boile, agus ann an
corruich mhòir.

6 Agus buailidh mi luchd-àiteach-
aidh a' bhaile so, eadar dhuine agus
ainmhidh; gheibh iad bàs do phlàigh
mhòir.

7 Agus na dhéigh sin, deir an Tigh-
earn, bheir mi thairis Sedeciah righ
Iudah, agus 'òglaich, agus an sluagh,
eadhon na dh'fhàgar anns a' bhaile so
o'n phlàigh, o'n chlaidheamh, agus
o'n ghorta, do làimh Nebuchadresair
righ Bhabiloin, agus do làimh an
naimhdean, agus do làimh na muinn-
tir a ta 'g iarruidh an anama, agus
buailidh e le faobhar a' chlaidheimh
iad: cha ghabh e truas diubh, ni mò
choigleas e, ni mò ni e tròcair.

8 Agus ris an t-sluagh so their thu,
Mar so deir an Tighearn, Feuch, tha
mise a' cur mu 'r coinneamh slighe na
beatha, agus slighe a' bhàis.

9 Esan a dh'fhanas anns a' bhaile
so, bàsaichidh e leis a' chlaidheamh,
agus leis a' ghort, agus leis a' phlàigh:
ach esan a théid a mach, agus a
théid thairis a dh'ionnsuidh nan Caldé-
ach a ta 'g ur teannachadh m'an cuairt,
mairidh e beo, agus bidh 'anam aige
mar chobhartaich.

10 Oir chuir mise mo ghnùis an
aghaidh a' bhaile so air son uilc, agus
cha 'n ann air son maith, deir an
Tighearn; do làimh righ Bhabiloin
bheirear thairis e, agus loisgidh esan
e le teine.

11 Agus mu thimchioll tighe righ
Iudah, cluinnibhse focal an Tigh-
earna:

12 O thigh Dhaibhidh, mar so deir
Iehobhah, Deanaibh gu moch breith-
eanas, agus saoraibh an duine sàruichte
o làimh an fhir-shàruchaidh, mu'n
dthéid mo chorruich-sa mach mar
theine, agus mu'n las i air chor as nach
feudar a mùchadh, air son aingidh-
eachd bhur gnìomhara.

13 Feuch, tha mis' a' d'aghaidh, O
thusa ta chòmhnuidh ann an gleann
Shoir, anns a' chòmhnard,[b] deir an
Tighearn; sibhse ta 'g ràdh, Cò thig
a nuas

[a] *orm.* [b] *anns a'ghleann, carraig a' chòmhnaird.*

a nuas 'n 'ar n-aghaidh? no cò thig
a ſteach d'ar n-ionada còmhnuidh?
14 Ach ſmachdaichidh miſe ſibh a
réir toraidh bhur deanadais, deir an
Tighearn; agus laſaidh mi teine 'na
coilltibh, agus loiſgidh e gach ni mu
'n cuairt da.

C A I B. XXII.

MAR ſo thubhairt an Tighearn:
Falbh ſios gu tigh righ Iudah,
agus an ſin labhraidh tu am focal ſo,
2 Agus their thu, Cluinn focal an
Tighearna, O a righ Iudah, a ta
a'd'ſhuidhe air righ-chaithir Dhaibh-
idh, thu féin, agus d'òglaich, agus do
ſhluagh, a ta dol a ſteach air na dor-
ſaibh ſo;
3 Mar ſo deir an Tighearn; Cuir-
ibh an gnìomh breitheanas agus ceart-
as, agus ſaoraibh an duine ſàruichte
o làimh an fhir-ſhàruchaidh: agus na
deanaibh foill: na deanaibh ain-neart
air a' choigreach, air an dilleachdan,
no air a' bhantraich, ni mò dhòirteas
ſibh fuil neo-chiontach anns an àite ſo.
4 Oir ma ni ſibh gun amharus do
réir an fhocail ſo, an ſin thig a ſteach
air geatachan an tighe ſo righrean, a
ſhuidheas ann an àite Dhaibhidh, air
a righ-chaithir, a' marcachd air car-
badaibh agus air eachaibh, gach aon,
'òglaich, agus a ſhluagh.
5 Ach mur d'thoir ſibh éiſdeachd do
na briathraibh ſo, orm féin thug miſe
mionnan, deir an Tighearn, Gu cinn-
teach nìthear ionad fàs do 'n tigh ſo.
6 Oir mar ſo thubhairt an Tigh-
earn do thaobh tighe righ Iudah; Tha
thu mar Ghilead dhomhſa, O mhul-
laich Lebanoin; ach ni mi gu cinn-
teach fàſach dhiot, bailtean nach bi
àitichte.
7 Agus orduichidh mi ann ad agh-
aidh luchd-millidh, gach aon le 'airm-
ibh; agus gearraidh iad ſios rogha do
ſheudar, agus tilgidh iad anns an teine
iad.
8 Agus gabhaidh mòran chinneach
ſeachad air a' chathair ſo, agus their
iad, gach aon r'a choimhearſnach,
C'ar ſon a rinn an Tighearn mar ſo
ris a' chathair mhòir ſo?
9 An ſin freagraidh iad, A chionn
gu 'n do thréig iad coimhcheangal an
Tighearna an Dia, agus gu 'n d'thug
iad aoradh do dhéibh coimheach, agus
gu 'n d'rinn iad ſeirbhis dhoibh.
10 Na guilibh air ſon a' mhairbh,
ni mò ni ſibh caoidh air a ſhon:
guilibh gu goirt air a ſhon-ſan a
dh'imich air falbh: oir cha phill e ni's
mò, agus cha 'n fhaic e tuille tìr a
dhùchais.
11 Oir mar ſo deir Iehobhah mu
thimchioll Shaluim mhic Ioſiah, righ
Iudah, a rìoghaich an àite Ioſiah 'ath-
ar, a chaidh a mach as an àite ſo, Cha
phill e chuige ni's mò:
12 Ach anns an àite gus an d'thug
iad air falbh e ann am braighdeanas,
gheibh e bàs; agus an tìr ſo cha 'n
fhaic e ni 's mò.
13 Is anaoibhinn dha-ſan a thogas a
thigh le h-eucoir, agus 'ard-ſheòm-
raichean le ana-cothrom; a ghabhas
ſaothair a choimhearſnaich a naſgaidh,
agus air ſon 'oibre nach dthoir dha
dìoladh.
14 A ta 'g ràdh, Togaidh mi
dhomh féin tigh mòr, agus ſeòm-
raichean farſuing: a' gearradh a mach
dha féin mar an ceudna uinneaga, 'ga
chòmhdachadh [a] fòs le ſeudar, agus
'ga dhath le corcur.
15 An righ thu a chionn gu bheil
thu 'gad dhùnadh féin ann an ſeudar?
nach d'ith agus nach d' òl t'athair, a-
gus nach d'rinn e cothrom agus ceart-
as? An ſin ſhoirbhich leis.
16 Dhìon e cùis a' bhochd agus
an fheumannaich; an ſin dh'éirich gu
maith *dha*. Nach b'e ſo eòlas a
ghabhail ormſa? deir an Tighearn.
17 Ach cha 'n 'eil do ſhùileanſa
agus do chridhe ach air d' an-mianna
féin, agus air fuil nan neo-chiontach,
a chum *a* dortadh, agus air sàruchadh
agus foirneart, a chum *a* dheanamh.
18 Air an aobhar ſin, mar ſo deir
an Tighearn mu thimchioll Iehoiacim
mhic Ioſiah righ Iudah, Cha dean iad
caoidh air a ſhon, *ag ràdh*, Och mo
bhràthair! no, Och mo phiuthar!
Cha dean iad caoidh air a ſhon, *ag
ràdh*, Och a Thighearn! no, Och a
ghlòir-ſa!

[a] *chur thàiris.*

19 Le h-adhlacadh asail adhlaicear
e, air a tharruing air falbh, agus air a
thilgeadh an taobh a mach do gheat-
achan Ierusaleim.
20 Imich suas gu Lebanon agus
éigh, agus air Basan tog an aird do
ghuth, agus glaodh o na criochaibh
mu'n cuairt, oir chlaoidheadh iadsan
uile a thug gràdh dhuit.
21 Labhair mi riut ann an àm do
shoirbheachaidh, thubhairt thu, Cha'n
éisd mi: b'e so do chleachd o t'òige.
22 A chionn nach d'éisd thu ri m'
ghuth-sa, ithidh osann suas an t-iomlan
do d'aodhairibh, agus imichidh do
luchd-gaoil air falbh ann am braigh-
deanas; gu cinnteach an sin bidh nàir'
ort, agus còmhdaichear thu le h-amh-
luadh air son d'uile dhroch dheanadais.
23 O thusa ta 'g àiteachadh Le-
banoin, a ta deanamh do nid ann an
seudaraibh, cia gràsmhor a bhitheas
tu [a] an uair a ni piantan greim ort,
goith, amhuil mnà ri saothair!
24 Mar as beo mise, deir an Tigh-
earn, ge b'e Coniah mac Iehoiacim
righ Iudah, am fàinne air mo làimh
dheis, gidheadh as sin dhearuinn do
spionadh.
25 Agus bheir mi thu do làimh na
muinntir a ta 'g iarruidh d' anama,
agus do làimh na muinntir roimh am
bheil eagal ort, eadhon do làimh Ne-
buchadresair righ Bhabiloin, agus do
làimh nan Caldéach.
26 Agus tilgidh mi mach thu féin,
agus do mhàthair a rug thu, gu dùth-
aich choimhich, far nach robh sibh air
'ur breith, agus an sin gheibh sibh
bàs.
27 Agus gus an talamh d'am bu
mhiannach leo pilleadh, gus sin cha
phill iad.
28 An dealbh fuarrach briste an
duine so Coniah? no an soitheach e
anns nach 'eil aig aon neach tlachd?
c'uim am bheil iad air an tilgeadh a
mach, e féin agus a shliochd, agus air
an iomain gu tìr anns nach 'eil iad
eòlach.
29 O thalamh! a thalamh! a thal-
amh! cluinn focal an Tighearna.
30 Mar so deir an Tighearn,
Sgriobhaibhse am fear so gun chlann,
duine nach soirbhich na laithibh, oir
cha soirbhich duine d' a shliochd, a
shuidheas air caithir Dhaibhidh, agus
a riaghlas na dhéigh so ann an Iudah.

C A I B. XXIII.

IS an-aoibhinn do na h-aodhairibh a
ta sgrios agus a' sgapadh treud
mo chluaine-sa, deir an Tighearn.
2 Air an aobhar sin mar so deir an
Tighearn Dia Israeil, do thaobh nan
aodhairean a ta 'g ionaltradh mo
shluaigh-sa, Sgap sibh mo threud,
agus dh'fhuadaich sibh air falbh iad,
agus cha deachaidh sibh g'an amharc;
feuch, thig mise g'ur n-amharc-sa air
son aingidheachd 'ur deanadais, deir an
Tighearn.
3 Ach tionailidh mi fuigheall mo
threud as gach uile dhùthaich gus an
d'fhògair mi iad, agus bheir mi iad
air an ais d' am mainrichibh [b] féin,
agus fàsaidh iad torrach agus lion-
mhor.
4 Agus togaidh mi suas os an cionn
aodhairean a dh'ionaltras iad air chor
as nach bi eagal orra tuille, ni mò
bhios geilt orra, ni mò bhios iad air an
smachdachadh [c], deir an Tighearn.
5 Feuch, tha na laithean a' teachd,
deir an Tighearn, anns an tog mise
suas do Dhaibhidh Meanglan firean-
ach, agus rìoghaichidh righ, agus
soirbhichidh leis, agus cuiridh e an
gniomh breitheanas agus ceartas air
an talamh.
6 Na laithibh-san tearnar Iudah,
agus gabhaidh Israel còmhnuidh ann
an tèaruinteachd: agus is e so 'ainm
a ghoirear ris, IEHOBHAH AR FIR-
EANTACHD-NE.
7 Air an aobhar so, feuch, tha na
laithean a' teachd, deir an Tighearn,
anns nach abair iad ni 's mò, Mar is
beo an Tighearn a thug a nìos clann
Israeil a tìr na h-Eiphit.
8 Ach, Mar is beo an Tighearn, a
thug a nìos agus a stiùir sliochd tighe
Israeil as an tìr mu thuath, agus as na
dùchannaibh sin uile gus an d'fhuad-
aich mis' iad: a chum gu'n gabhadh
iad còmhnuidh nam fearann féin.

[a] *cia goirt a bhitheas do chasaidh.* [b] *crò* [c] *air ionndrudh.*

9 Do thaobh nam fàidhean. Tha mo chridhe briſte 'n taobh a ſtigh dhiom, tha mo chnàmhan gu léir air ghluaſad; is coſmhuil mi ri fear air mhiſg; is ionann mi 's duine air an d'fhuair fion làmh-an-uachdar, air ſon an Tighearna, agus air ſon bhriathran a naomhachd.

10 Oir tha am fearann làn do luchd-adhaltruis: oir air ſon mhionnan tha 'n tìr a' caoidh; tha ionadan aoibhinn an fhàſaich air tiormachadh ſuas; tha an ſiubhal mar an ceudna olc, agus an neart eacorach.

11 Oir tha am fàidh agus an ſagart araon ain-diadhaidh, eadhon ann am theach [a] féin fhuair mi an aingidheachd, deir an Tighearn.

12 Uime ſin bidh an ſlighe dhoibh mar ionada ſleamhain ann an dorchadas; iomainear iad air an aghaidh, agus tuitidh iad ann: gu cinnteach bheir miſe dòrainn orra, bliadhna an ſmachdachaidh, deir an Tighearn.

13 Amhuil a chunnaic mi ann am fàidhean Shamaria amaideachd; rinn iad fàiſneachd ann an ainm Bhaail, agus thug iad air mo ſhluagh Iſrael dol air ſeachran:

14 Mar ſin ann am fàidhean Ieruſalcim chunnaic mi uamharrachd: tha iad a' deanamh adhaltranais, agus ag imeachd ann am breugaibh: tha iad a' neartachadh mar an ceudna làmhan nan aingidh, air chor as nach 'eil aon neach a' pilleadh o 'aingidheachd: tha iad, an t-iomlan diubh, dhomhſa mar Shodom, agus a luchd-àiteachaidh mar Ghomorah.

15 Air an aobhar ſin mar ſo deir an Tighearn nan ſluagh mu thimchioll nam fàidhean; Feuch, bheir miſe dhoibh ſearbh-luibhean r'an itheadh, agus uiſge domblaſda r'a òl: oir o fhàidhean Ieruſalcim tha aindiadhachd air dol a mach air feadh na tìre gu h-iomlan.

16 Mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Na h-éiſdibh ri briathraibh nam fàidhean, a ta ri fàiſneachd dhuibh; tha iad 'g'ur mealladh le nithibh faoin; tha iad a' labhairt fioſachd an cridhe féin, *agus* cha 'n ann o bheul an Tighearna;

17 Ag ràdh an còmhnuidh ris a' mhuinntir a ta deanamh di-meas air focal an Tighearna, Bidh sìth agaibh; agus am feadh a ta gach aon ag imeachd a réir an-mianna a chridhe féin, tha iad ag ràdh, Cha dthig olc air bith oirbh.

18 Oir cò ſheas ann an comhairle dhiomhair an Tighearna, agus a chunnaic, agus a chual a' chùis? no cò dh'éiſd agus a chuala 'fhocal?

19 Feuch chaidh cuairt-ghaoth mach o'n Tighearn le boile, eadhon cuairt ghaoth ro-dhian; air ceann nan aingidh tuitidh i gu h-uamhaſach.

20 Cha phill corruich an Tighearna air a h-ais, gus an cuir e 'n gnìomh, agus gus an coimhlion è rùn a chridhe: anns na laithibh deireannach bheir ſibh fo fainear le làn aire.

21 Cha do chuir miſe na fàidhean ſo a mach, gidheadh ruith iad: cha do labhair mi riu, gidheadh rinn iad fàiſneachd.

22 Ach nam biodh iad air ſeaſamh ann am chomhairle-ſa, an ſin bheireadh iad air mo ſhluagh mo bhriathran éiſdeachd, an ſin bheireadh iad orra pilleadh o'n ſlighe, agus o aingidheachd an deanadais.

23 An Dia dlù do làimh miſe, deir an Tighearn? agus nach Dia mi am fad as?

24 Am feud neach air bith e féin fholach ann an ionadaibh diomhair, air chor as nach faic mis e? deir an Tighearn: nach 'eil miſe a lionadh nan nèamha agus na talmhainn? deir an Tighearn.

25 Chuala miſe ciod a thuirt na fàidhean, a ta fàiſneachd bhreug ann am ainm-ſa, ag ràdh, Chunnaic mi aiſling, chunnaic mi aiſling.

26 Cia fhad a bhios *ſo* an cridhe nam fàidhean a ta ri fàiſneachd bhreug? ſeadh fàidhean ceilg an cridhe féin:

27 Aig am bheil rùn a thoirt air mo ſhluagh-ſa m'ainm a leigeil air di-chuimhn, le 'n aiſlingibh, a ta iad ag innſeadh, gach aon d'a choimhearſnach, amhuil a rinn an aithrichean m'ainm a leigeil air di-chuimhn, air ſon Bhaail.

[a] *thigh.*

28 Am fàidh aig am bheil aisling, innseadh e 'aisling; ach esan aig am bheil m' fhocal-sa, labhradh e m'fhocal gu dìleas: ciod e am moll' do 'n chruineachd[a]? deir an Tighearn.

29 Nach ionann m'fhocal-sa agus teine? deir an Tighearn: agus nach ionann e 's ord a bhriseas a' chreag na bloighdibh?

30 Uime sin, feuch, tha mise 'n aghaidh nam fàidhean, deir an Tighearn, a ta goid mo bhriathran-sa, gach aon o 'choimhearsnach.

31 Feuch, tha mise 'n aghaidh nam fàidhean, deir an Tighearn, a ta gnàthachadh an teanga féin, agus ag ràdh, Labhair esan *e*.

32 Feuch, tha mise 'n aghaidh na muinntir a ta fàisneachadh aislingean bréige, deir an Tighearn, agus a ta 'gan innseadh, agus a' toirt air mo shluagh-sa dol air seachran le 'm breugaibh agus le 'm briathraibh faoine; gidheadh cha do chuir mis' a mach iad, ni mò thug mi àithne dhoibh; air an aobhar sin cha dean iad air aon chor tairbhe do 'n t-sluagh so, deir an Tighearn.

33 Agus an uair a dh' fheòruicheas an sluagh so, no fàidh, no sagart, diot, ag ràdh, Ciod e focal cudromach an Tighearna? an sin their thusa riu, Is sibhse an cudrom, agus tilgidh mise dhiom sibh, deir an Tighearn.

34 Agus am fàidh, agus an sagart, agus an sluagh, a their, Focal cudromach an Tighearna, bheir eadhon mise peanas air an duine sin agus air a theaghlach.

35 Mar so their sibh, gach aon r'a choimhearsnach, agus gach aon r'a bhràthair, Ciod a fhreagair an Tighearn? agus, Ciod a labhair an Tighearn?

36 Agus air focal cudromach an Tighearna cha dthoir sibh luadh ni 's mò; oir is cudrom do gach aon a bhriathra féin: oir chlaon sibh briathran an Dé bheo, an Tighearna nan sluagh, ar Dé-ne.

37 Mar so their thu ris an fhàidh, Ciod am freagradh a thug an Tighearn dhuit? agus, Ciod a labhair an Tighearn?

38 Ach ma their sibh, Focal cudromach an Tighearna: uime sin, mar so deir an Tighearn, A chionn gu bheil sibh ag ràdh an fhocail so, Focal cudromach an Tighearna, ge do chuir mise fios chugaibh, ag ràdh, Cha 'n abair sibh Focal cudromach an Tighearna;

39 Uime sin, feuch, togaidh mise sibhse mar chudrom, agus tilgidh mi air falbh, araon sibh féin agus a' chathair so, a thug mi dhuibhse, agus do 'r n-aithrichibh, a mach as mo làthair.

40 Agus bheir mi oirbh masladh siorruidh, agus nàire bhith-bhuan, nach leigear gu bràth air di-chuimhn.

C A I B. XXIV.

DH'FHOILLSICH an Tighearn dhomh, agus feuch, dà chliabh[b] fhìgean air an cur fa chomhair teampuill an Tighearna, 'n déigh do Nebuchadresar righ Bhabiloin, Iechoniah, mac Iehoiacim righ Iudah, agus maithean Iudah, agus an luchd-ealainn[c], agus na h-airm-cheaird, a thoirt air falbh ann am braighdeanas o Ierusalem, agus an toirt leis gu Babilon:

2 *Ann an* aon chliabh bha fìgean ro-mhaith, mar na fìgean *a bhios* an toiseach abuich: agus *anns* a' chliabh eile figean ro-olc, nach feudta itheadh aig an olcas.

3 An sin thuirt an Tighearn rium, Ciod a tha thu faicinn, a Ieremiah? agus thubhairt mise, Fìgean: na fìgean maithe ro-mhaith; agus na droch fhìgean ro-olc, air chor as nach feudar an itheadh aig an olcas.

4 An sin thàinig focal an Tighearna do m' ionnsuidh, ag ràdh,

5 Mar so deir an Tighearn Dia Israeil, Amhuil na fìgean maithe so, mar sin gabhaidh mise ris na dh'fhalbh ann am bruid do Iudah, a chuir mi mach as an àite so gu tìr nan Caldéach, a chum an leas.

6 Oir cuiridh mi mo shùilean orra chum maith, agus bheir mi iad air an ais do 'n tìr so, agus togaidh mi iad, agus cha tilg mi sios; agus suidhichidh mi iad, agus cha spìon mi a bun.

7 Agus

[a] *seach an cruineachd*   [b] *bhascaid*   [c] *go saoir*

7 Agus bheir mi dhoibh cridhe gu
m' aithneachadh, gur mi an Tigh-
earn; agus bidh iad dhomhsa nan
sluagh, agus bidh mise dhoibhsan a'
m' Dhia; oir pillidh iad do m' ionnsuidh le 'n uile chridhe.

8 Agus amhuil na droch fhìgean,
nach feudar itheadh aig an olcas, (mar
so gu deimhin deir an Tighearn) mar
sin bheir mi thairis Sedeciah righ
Iudah, agus 'uachdarain, agus am
fuigheall do Ierusalem a dh' fhanas
anns an tìr so, agus iadsan a ta chòmhnuidh ann am fearann na h-Eiphit;

9 Bheir eadhon mise thairis iad gu
bhi air an luasgadh air feadh uile
rìoghachdan an domhain, a chum an
aimhleis; gu bhi nan cùis-fhanoid,
agus nan gnath-fhocal, nam ball-magaidh, agus nam mallachadh, anns na
h-uile àite gus am fògair mi iad.

10 Agus cuiridh mi an claidheamh,
a' ghort, agus a' phlàigh nam measg,
gus an caithear iad bharr an fhearainn, a thug mise dhoibh féin agus
do 'n aithrichibh.

C A I B. XXV.

AM focal a thàinig a dh'ionnsuidh
Ieremiah mu thimchioll uile
shluaigh Iudah, ann an ceathramh
bliadhna Iehoiacim mhic Iosiah righ
Iudah; b'i sin ceud bliadhna Nebuchadresair righ Bhabiloin:

2 A labhair Ieremiah am fàidh ri
uile shluagh Iudah, agus ri uile luchdàiteachaidh Ierusaleim, ag ràdh,

3 O threas bliadhna deug Iosiah
mhic Amoin righ Iudah, eadhon gus
an là an diùgh, (is i so an treas
bliadhna fichead) thàinig focal an
Tighearna do m' ionnsuidh-sa, agus
labhair mi ruibhsa, ag éirigh gu moch
agus a' labhairt, ach cha d' éisd sibh.

4 Agus chuir an Tighearn do 'r
n-ionnsuidh 'uile sheirbhisich na fàidhean, ag éirigh gu moch agus 'gan cur
a mach; ach cha d'éisd sibhse, agus ni
mò dh'aom sibh 'ur cluas gu éisdeachd.

5 Thuirt iadsan, Pillibh air 'ur
n-ais a nis, gach aon o 'dhroch shlighe,
agus o olcas a dheanadais, agus gabhaibh còmhnuidh anns an fhearann a
thug an Tighearn dhuibh, agus do 'r
n-aithrichibh o linn gu linn.

6 Agus na rachaibh an déigh dhée
coimheach, gu seirbhis a dheanamh
dhoibh, agus gu aoradh a thoirt doibh,
agus na brosnuichibh mise gu corruich
le obair 'ur làmh; agus cha dean mi
olc oirbh.

7 Gidheadh cha d' éisd sibh riumsa, deir an Tighearn; a chum gu'n
brosnuicheadh sibh mi gu corruich le
obair 'ur làmh, a chum 'ur n-aimhleis
féin.

8 Uime sin mar so deir an Tighearn nan sluagh, A chionn nach d'éisd
sibh ri mo bhriathraibhse,

9 Feuch, cuiridh mi fios, agus bheir
mi leam uile mhuinntir na h airde
tuath, deir an Tighearn, agus Nebuchadresar righ Bhabiloin m' òglach,
agus bheir mi iad an aghaidh na tìre
so, agus an aghaidh a luchd-àiteachaidh, agus an aghaidh nan cinneach
so uile mu 'n cuairt, agus sgriosaidh
mi gu tur iad, agus ni mi iad nan
uamhas, agus nan sgeig, agus nam
fàsach gu bràth.

10 Os barr bheir mi uatha guth a'
ghairdeachais agus guth an aoibhneis,
guth an fhir nuadh-phòsda, 's guth na
mnà nuadh-pòsda, fuaim nan clachamuilinn, agus solus na coinnle.

11 Agus bidh am fearann so uile
na fhàsach, *agus* na uamhas; agus ni
na cinnich so seirbhis do righ Bhabiloin deich agus tri fichead bliadhna.

12 Agus tarlaidh, 'nuair a choimhlionar deich agus tri fichead bliadhna,
gu'n smachdaich mise righ Bhabiloin,
agus an cinneach sin, deir an Tighearn, air son an aingidheachd, agus
fearann nan Caldéach, agus ni mi e
na fhàsach gu bràth.

13 Agus bheir mi air an fhearann
sin m' uile bhriathran a labhair mi na
aghaidh, gach ni tha sgrìobhta san
leabhar so, a rinn Ieremiah fhàisneachd an aghaidh nan uile chinneach.

14 Oir ni mòran chinneach, agus
righrean mòra, seirbhis a ghabhail
dhiubhsan mar an ceudna: agus dìolaidh mise riu do réir an gnìomhara,
agus do réir oibre an làmha féin.

15 Oir mar so deir an Tighearn
Dia Israeil rium, Gabh cuach fhìona
na fraoich feirge so as mo làimh-sa,
agus

agus thoir r'a h-òl i do na h-uile
chinnich gus an cuir mise thu;
16 Agus òlaidh iad, agus bidh iad
air bhall-chrith, agus air chuthach,
leis a' chlaidheamh a chuireas mise
nam measg.
17 An sin ghlac mi a' chuach a
làimh an Tighearna, agus thug mi r'a
h-òl i do na h-uile chinneach gus an
do chuir an Tighearn mi;
18 Do Ierusalem, agus do bhailtibh
Iudah, agus d 'a righribh, agus d' a
h-uachdaranaibh, a chum an deanamh
nan nochdlaraich, nan uamhas, nan
sgeig, agus nam mallachadh, mar air
an là 'n diugh:
19 Do Pharaoh righ na h-Eiphit,
agus d' a òglachaibh, agus d' a uach-
daranaibh, agus d' a uile shluagh,
20 Agus do gach uile shluagh eile
ta measg a' chéile, agus do uile righ-
ribh fearainn Uis, agus do uile righ-
ribh fearainn nam Philisteach, agus
do Ascelon, agus do Ghasah, agus do
Ecron, agus do fhuigheall Asdoid;
21 Do Edom, agus do Mhoab, a-
gus do chloinn Amoin;
22 Agus do uile righribh Thiruis,
agus do uile righribh Shidoin, agus do
righribh nan criochan a ta 'n taobh
thall do 'n fhairge;
23 Do Dhedan, agus do Thema,
agus do Bhus, agus do na h-uile *ta*
anns na cearnaibh iomallach;
24 Agus do uile righribh Arabia,
agus do uile righribh an t-sluaigh
mheasgta ta chòmhnuidh anns an
fhàsach;
25 Agus do uile righribh Shimri,
agus do uile righribh Elaim, agus do
uile righribh Mhedia,
26 Agus do uile righribh na h-airde
tuath, am fad 's am fagus, *gach* aon le
chéile, agus do uile rioghachdaibh an
domhain, a ta air aghaidh na talmh-
ainn: agus òlaidh righ Shesaich nan
déigh so.
27 Agus their thu riu, Mar so deir
an Tighearn Dia nan sluagh, Dia
Israeil, Olaibh, agus bithibh air mhisg,
agus sgeithibh, agus tuitibh, agus na
h-éiribh ni 's mò, roimh 'n chlaidh-
eamh a chuireas mise 'n 'ur measg.
28 Agus tarlaidh, ma dhiùltas iad
a' chuach a ghabhail as do làimh, gu
òl, an sin gu 'n abair thu riu, Mar
so deir an Tighearn nan sluagh, O-
laidh sibh gu deimhin.
29 Oir feuch, air a' chathair a ta
air a h-ainmeachadh air m' ainm, oirre
sin tha mise tionsgnadh air olc a
thabhairt, agus am feud sibhse dol as
gu glan-shaor o pheanas? cha dtheid
sibh as: oir gairmidh mise claidheamh
air uile luchd-àiteachaidh na talmh-
ainn, deir an Tighearn nan sluagh.
30 Air an aobhar sin labhair thusa
nan aghaidh na briathran fàisneachd
so air fad, agus abair riu, Beucaidh
an Tighearn o' ionad ard, agus o ionad
còmhnuidh a naomhachd cuiridh e
mach a ghuth; beucaidh e gu cumh-
achdach an aghaidh ionaid a thàimh;
togaidh e iolach, mar [iolaich] luchd-
bruthaidh *nam fion-dearc*, an aghaidh
uile luchd-àiteachaidh na talmhainn.
31 Thig toirm gu iomallaibh na
talmhainn, a chionn gu bheil coi-strì
aig Dia ris na cinnich; tagraidh e ris
na h-uile feoil, bheir e 'n dream *a ta*
olc do 'n chlaidheamh, deir an Tigh-
earn.
32 Mar so deir an Tighearn nan
sluagh, Feuch, théid olc a mach o
chinneach gu cinneach, agus dùisgear
suas ioma-ghaoth mhòr o chrìochaibh
na talmhainn.
33 Agus bidh iadsan a mharbhar
leis an Tighearn san là sin, o aon
iomall na talmhainn eadhon gu iomall
eile na talmhainn; cha chaoidhear iad,
ni mò chruinnichear iad, ni mò
dh' adhlaicear iad; nan aolach air
aghaidh na talmhainn bithidh iad.
34 Togaibh gaoir bhròin, a bhuach-
aillean, agus éighibh, agus aornagan-
aibh sibh féin [ann an luaithre] sibhs'
a 's urramaiche do 'n treud, a chionn
gu bheil laithean bhur marbhaidh
agus bhur sgapaidh air an coimhlion-
adh; agus tuitidh sibh mar shoitheach
luachmhor.
35 Agus cha bhi seòl-teichidh aig
na buachaillibh, no dol as aig maith-
ean an treud.
36 Guth caoidh nam buachaillean,
agus nuallan mhaithean an treud: oir
mhill an Tighearn an cluain-ionalt-
raidh.
37 Mhilleadh fòs ionada-còmh-
nuidh

nuidh na ſith[a] le dian-chorruich an Tighearna.

38 Thréig e, mar leòmhann, a gharradh; oir rinneadh an cuid fearann fàs, trìd corruich a' mhillteir, agus trìd dian-theas 'ſheirge.

C A I B. XXVI.

ANN an toiſeach linn Iehoiacim, mhic Ioſiah righ Iudah, thàinig am focal ſo o 'n Tighearn, ag ràdh,

2 Mar ſo deir an Tighearn, Seas ann an cùirt tighe an Tighearna, agus labhair ri uile bhailtibh Iudah, a ta teachd a dheanamh aoraidh ann an tigh an Tighearna, na h-uile bhriathran a dh' àithneas miſe dhuit a labhairt riu; na lughdaich focal;

3 A dh' fheuchainn an éiſd iad, agus am pill iad, gach aon o 'dhroch ſhlighe, chum as gu'n gabh miſe aithreachas do 'n olc a th' ann am rùn a thoirt orra air ſon aingidheachd an gnìomhara.

4 Agus their thu riu, Mar ſo deir an Tighearn, Mur éiſd ſibh riumſa, gu ſiubhal ann am reachd, a chuir mi fa 'r comhair,

5 Gu éiſdeachd a thoirt do bhriathraibh mo ſheirbhiſeach na fàidhean, a chuir mi chugaibh, araon ag éirigh gu moch agus 'g an cur a mach, (ge nach d' éiſd ſibhſe)

6 An ſin ni mis' an tigh ſo coſmhuil ri Siloh, agus ni mi a' chathair ſo na mallachadh do uile chinneachaibh na talmhainn.

7 Agus chuala na ſagairt, agus na fàidhean, agus an ſluagh uile, Ieremiah a' labhairt nam briathra ſo ann an tigh an Tighearna.

8 A nis tharladh, air do Ieremiah ſgur do labhairt nan uile nithe a dh' àithn an Tighearn *dha* a labhairt ris an t-ſluagh uile, gu 'n do ghlac na ſagairt, agus na fàidhean, agus an ſluagh uile e, ag ràdh, Cuirear gu deimhin gu bàs thu.

9 C'ar ſon a rinn thu fàiſneachd ann an ainm an Tighearna, ag ràdh, Bithidh an tigh ſo coſmhuil ri Siloh, agus cuirear a' chathair ſo fàs gun aon 'ga h-àiteachadh? Agus chruinnicheadh an ſluagh air fad an aghaidh Ieremiah, ann an tigh an Tighearna.

10 'Nuair a chuala maithean Iudah na nithe ſo, an ſin thàinig iad a nìos o thigh an righ, gu tigh an Tighearna, agus ſhuidh iad ann an dol a ſteach a' gheataidh nuaidh aig *tigh* an Tighearna.

11 An ſin labhair na ſagairt, agus na fàidhean ris na maithibh, agus ris an t-ſluagh gu léir, ag ràdh, Is airidh air bàs an duine ſo, oir rinn e fàiſneachd an aghaidh na cathrach ſo, mar a chuala ſibh le 'r cluaſaibh.

12 An ſin labhair Ieremiah ris na maithibh uile, agus ris an t-ſluagh gu h-iomlan, ag ràdh, Chuir an Tighearn miſe gu labhrainn ann am fàiſneachd an aghaidh an tighe ſo, agus an aghaidh na cathrach ſo na h-uile bhriathra ſin a chuala ſibh.

13 Uime ſin a nis leaſuichibh 'ur ſlighe agus 'ur deanadas, agus thugaibh géill do ghuth an Tighearna bhur Dé; agus gabhaidh an Tighearn aithreachas do 'n olc a labhair e 'n 'ur n-aghaidh.

14 Air mo ſhon-ſa, feuch, tha mi 'n 'ur làimh; deanaibh rium mar a chithear maith agus ceart duibh.

15 Ach biodh gu cinnteach fios agaibh, ma chuireas ſibh gu bàs miſe, gu'n tarruing ſibh fuil neo-chiontach oirbh féin, agus air a' chathair ſo, agus air a luchd-àiteachaidh: oir gu fìrinneach chuir an Tighearn miſe chugaibh, gus na briathran ſo uile a labhairt 'n 'ur cluaſaibh.

16 An ſin thuirt na maithean, agus an ſluagh uile ris na ſagartaibh, agus ris na fàidhibh, Cha 'n airidh an duine ſo air bàs, oir ann an ainm an Tighearna ar Dé labhair e ruinn.

17 An ſin ſheas cuid do ſheanairibh na tìre ſuas, agus labhair iad ri uile choimhthional an t-ſluaigh, ag ràdh,

18 Rinn Micah am Moraſtach fàiſneachd, ann an laithibh Heſeciah righ Iudah, agus labhair e ri uile ſhluagh Iudah, ag ràdh, Mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Bidh Sion *mar* mhachair air a treabhadh, agus bidh Ieruſalem na carnaibh, agus ſliabh

an

[a] *na h-ionada-comhnuidh ſuaimhneach.*

an tighe mar ionadaibh arda na frìdhe.

19 An d' thug Hefeciah righ Iudah, agus Iudah uile thairis gu bàs e? nach robh eagal an Tighearna air, agus nach d' iarr e an Tighearn, agus ghabh an Tighearn aithreachas do 'n olc a labhair e nan aghaidh? Ach sinne, tha finn a' deanamh aimhleis mhòir an aghaidh ar n-anama féin.

20 Agus bha fòs duine ann a rinn fàifneachd ann an ainm an Tighearna, Uriah mac Shemariah, o Chireat-iearim, a rinn fàifneachd an aghaidh na cathrach fo, agus an aghaidh na tìre fo, do réir uile bhriathran Ieremiah.

21 Agus an uair a chuala Iehoiacim an righ, agus a dhaoine cumhachdach uile, agus na maithean uile, a bhriathran, dh' iarr an righ a chur gu bàs; agus chuala Uriah fin, agus bha eagal air, agus theich e, agus dh' imich e do 'n Eiphit.

22 Agus chuir an righ Iehoiacim daoine Eiphiteach, Elnatan mac Achboir, agus iadfan a bha leis, do 'n Eiphit;

23 Agus thug iad Uriah a mach as an Eiphit, agus thug iad e chum an righ Iehoiacim, a mharbh e leis a' chlaidheamh, agus a thilg a chorp ann an uaighean nan daoine coitchionn.

24 Gidheadh bha làmh Ahicaim mhic Shaphain le Ieremiah, chum nach biodh e air a thoirt thairis do làimh an t-fluaigh, gu 'chur gu bàs.

CAIB. XXVII.

ANN an toifeach linn Iehoiacim, mhic Iofiah righ Iudah, thàinig am focal fo gu Ieremiah o'n Tighearn, ag ràdh,

2 Mar fo deir an Tighearn rium, Dean dhuit féin boinn agus cuingean, agus cuir iad air do mhuineal.

3 Agus cuir iad gu righ Edoim, agus gu righ Mhoaib, agus gu righ nan Amonach, agus gu righ Thiruis, agus gu righ Shidoin, le làimh nan teachdairean a ta a' teachd gu Ierufalem, a chum Shedeciah righ Iudah:

4 Agus àithn doibh a ràdh ri 'n tighearnaibh, Mar fo deir Tighearn nan fluagh, Dia Ifraeil, Mar fo their fibh ri 'r tighearnaibh;

5 Rinn mife an talamh; an duine 's an t-ainmhidh a ta air aghaidh na talmhainn, le m' mhòr-chumhachd, agus le m' ghairdean sìnte mach; agus cò air bith do 'm facas iomchuidh leam a thabhairt, dha-fan thug mi e.

6 Agus a nis thug mi na dùthanna fo uile do làimh Nebuchadrefair righ Bhabiloin, m' òglaich; agus beathaichean na machrach fòs thug mi dha, gu frithealadh dha.

7 Agus bheir na h-uile chinnich géill dha-fan, agus d' a mhac, agus do mhac a mhic, gus an dthig àm a dhùcha féin: an fin bheir iomadh cinneach, agus righrean mora airfan gu 'n dthoir e géill doibh.

8 Agus tarlaidh, an cinneach no an rioghachd nach dthoir géill do Nebuchadrefar fo righ Bhabiloin, agus nach cuir am muineal fo chuing righ Bhabiloin; le claidheamh, agus le gort, agus le plàigh, fmachdaichidh mis' an cinneach fin, deir an Tighearn, gus an fgrios mi iad gu tur le 'làimh-fan.

9 Uime fin na h-éifdibhfe ri 'r fàidhean, no ri 'r fiofaichean, no ri 'r bruadaraichean, no ri 'r fpeuradairean, no ri 'r druidhean, a ta labhairt ruibh, ag ràdh, Cha dthoir fibh géill do righ Bhabiloin:

10 Oir tha iad a' fàifneachd bréige dhuibh, a chum 'ur n-atharrachadh fad o 'r fearann féin, agus a chum gu fògrainn-fa mach fibh, agus gu'n rachadh fibh am mugha.

11 Ach an cinneach fin a chuireas an amhach fo chuing righ Bhabiloin, agus a bheir dha ùmhlachd, leigidh mife dhoibh fin fuireach nam fearann féin, agus treabhaidh iad e, agus gabhaidh iad còmhnuidh ann.

12 Agus labhair mife ri Sedeciah righ Iudah, do réir nam briathran fo air fad, ag ràdh, Cuiribh 'ur n-amhacha fa chuing righ Bhabiloin, agus thugaibh dha ùmhlachd, dha féin, agus d 'a fhluagh, agus mairibh beo.

13 C' ar fon a bhàfaicheas fibh, thu féin agus do fhluagh, leis a' chlaidheamh, leis a' ghort, agus leis a' phlàigh, mar a labhair Dia 'n aghaidh a' chinnich nach dthoir géill do righ Bhabiloin?

14 Uime fin na h-éifdibh ri briathraibh

raibh nam fàidhean a ta labhairt ruibh, ag ràdh, Cha dthoir ſibh umhlachd do righ Bhabiloin: oir tha iad a' fàiſneachd bréige dhuibh.

15 Oir cha do chuir mis' a mach iad, deir an Tighearn, gidheadh tha iad a' fàiſneachd bhréig ann am ainm, a chum gu fògrainn ſibhſe mach, agus gu rachadh ſibh am mugha; ſibh féin agus na fàidhean a ta ri fàiſneachd dhuibh.

16 Labhair mi cuideachd ris na ſagartaibh, agus ris an t-ſluagh ſo uile, ag ràdh, Mar ſo deir an Tighearn, Na h éiſdibh ri briathraibh 'ur fàidhean a ta ri fàiſneachd dhuibh, ag ràdh, Feuch, bheirear ſoithichean tighe an Tighearna air an ais o Bhabilon a nis gu h-aithghearr; oir tha iad a' fàiſneachd bhréig dhuibh.

17 Na h-éiſdibh riu; géillibh do righ Bhabiloin agus mairibh beo; c'ar ſon a bhitheadh an a chathair ſo air a deanamh na fàſach?

18 Ach ma 's fàidhean iad, agus ma ta focal an Tighearna maille riu, deanadh iad a nis eadar-ghuidhe ri Tighearn nan ſluagh, a chum nach rachadh na ſoithichean *a ta* air am fàgail ann an tigh an Tighearna, agus *ann an* tigh righ Iudah, agus ann an Ieruſalem, gu Babilon.

19 Oir mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, mu thimchioll nam prop, agus mu thimchioll na fairge, agus mu thimchioll nam bonn, agus mu thimchioll na cuid eile do na ſoithichibh a dh'fhan anns a' chathair-ſa;

20 Nach d' thug Nebuchadneſar righ Bhabiloin leis, an uair a thug e air falbh ann am braighdeanas Ieconiah mac Iehoiacim righ Iudah, o Ieruſalem gu Babilon, agus uile uaiſlean Iudah agus Ieruſaleim;

21 Seadh, mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil, mu thimchioll nan ſoithichean a dh' fhan *ann an* tigh an Tighearna, agus *ann an* tigh righ Iudah, agus *ann an* Ieruſalem;

22 Gu Babilon bheirear air falbh iad, agus an ſin bithidh iad gus an là anns an dthéid miſe d' an amharc, deir an Tighearn: an ſin bheir mis' a nìos iad, agus aiſigidh mi iad a rìs do 'n àite ſo.

C A I B. XXVIII.

AGUS tharladh anns a' bhliadhna ſin féin, an toiſeach linn Shedeciah righ Iudah, anns a' cheathramh bliadhna, anns a' chùigeadh mios, gu 'n do labhair Hananiah mac Aſuir, am fàidh a bha o Ghibeon, riumſa ann an tigh an Tighearna, an làthair nan ſagart, agus an t-ſluaigh uile, ag ràdh,

2 Mar ſo labhair Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil, ag ràdh, Bhris miſe cuing righ Bhabiloin.

3 An ceann dà bhliadhna iomlain bheir mis' air an ais a chum an àite ſo uile ſhoithichean tighe an Tighearna, a thug Nebuchadneſar righ Bhabiloin air falbh o 'n àite ſo, agus a ghiùlain e gu Babilon.

4 Agus bheir mi chum an àite ſo a rìs Ieconiah mac Iehoiacim righ Iudah, maille ri uile bhraighdibh Iudah, a dh' imich gu Babilon, deir an Tighearn; oir briſidh miſe cuing righ Bhabiloin.

5 Agus thuirt am fàidh Ieremiah ris an fhàidh Hananiah, ann an làthair nan ſagart, agus ann an làthair an uile ſhluaigh a bha nan ſeaſamh ann an tigh an Tighearna,

6 Thubhairt eadhon am fàidh Ieremiah, Amen: gu'n deanadh an Tighearn mar ſin; gu'n coimhlionadh an Tighearn do bhriathran a rinn thu fhàiſneachd, le ſoithichean tighe an Tighearna, agus gach ni eile a thugadh air falbh ann am bruid, a thoirt air an ais o Bhabilon a chum an àite ſo.

7 Gidheadh cluinn thus' a nis am focal ſo ta mis' a' labhairt ann ad éiſdeachd, agus ann an éiſdeachd an t-ſluaigh uile.

8 Na fàidhean a bha romham-ſa agus romhad-ſa o ſhean, rinn iad fàiſneachd araon do thaobh mhòran dhùchannan, agus do thaobh rioghachdan mòra, air cogadh, agus air gort, agus air plàigh.

9 Am fàidh a ni fàiſneachd mu ſhìth, 'nuair a thig focal an fhàidh gu crìch, aithnichear gur e an Tighearn gu deimhin a chuir am fàidh ſin a mach.

10 An ſin thug am fàidh Hananiah

naniah a' chuing bharr amhcha an fhàidh Ieremiah, agus bhris e i.

11 Agus labhair Hananiah ann an làthair an t-ſluaigh uile, ag ràdh, Mar ſo deir an Tighearn, Amhuil ſo briſidh miſe cuing Nebuchadneſair righ Bhabiloin o mhuineal nan uile chinneach an taobh a ſtigh do dhà bhliadhna iomlan. Agus dh' fhalbh an fàidh Ieremiah roimhe.

12 Agus thàinig focal an Tighearna gu Ieremiah (an déigh do 'n fhàidh Hananiah a' chuing a bhriſeadh bharr muineil an fhàidh Ieremiah), ag ràdh,

13 Imich agus labhair ri Hananiah, ag ràdh, Mar ſo deir an Tighearn, Na cuibhrichean fiodha bhris thu, ach ni thu nan àite cuibhrichean iaruinn.

14 Oir mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil, Cuing iaruinn chuir miſe air muineal nan cinneach ſo uile, a chum gu'n tugadh iad géill do Nebuchadneſar righ Bhabiloin; agus bheir iad géill da; agus beathaichean na machrach thug mi dha mar an ceudna.

15 An ſin thuirt am fàidh Ieremiah ris an fhàidh Hananiah, Eiſd a nis a Hananiah; Cha do chuir an Tighearn fios leatſa, ach tha thu toirt air an t-ſluagh ſo earbs' a dheanamh a bréig.

16 Uime ſin mar ſo deir an Tighearn, Feuch, tilgidh miſe thu bharr aghaidh na talmhainn; air a' bhliadhna ſo gheibh thu bàs, a chionn gu'n do labhair thu ceannairc an aghaidh an Tighearna.

17 Mar ſin fhuair am fàidh Hananiah bàs air a' bhliadhna ſin féin anns an t-ſeachdamh mìos.

CAIB. XXIX.

ANIS is iad ſo briathran na litreach a chuir am fàidh Ieremiah o Ieruſalem gus a' chuid eile do na ſeanairibh a thugadh air falbh ann am braighdeanas, agus gus na ſagartan, agus gus na fàidhean, agus gus an uile ſhluagh a thug Nebuchadneſar air falbh ann am braighdeanas o Ieruſalem gu Babilon;

2 (An déigh do Ieconiah an righ, agus a' bhan-righinn, agus na caillteanaich, agus maithean Iudah agus Ieruſaleim, agus an luchd-ealainn, agus na h-airmcheaird, imeachd air falbh o Ieruſalem;)

3 Le làimh Elaſah mhic Shaphain, agus Ghemariah mhic Hilciah, (a chuir Sedeciah righ Iudah do Bhabilon, gu Nebuchadneſar righ Bhabiloin,) ag ràdh,

4 Mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil, ris na h-uile a ta air an toirt air falbh ann am braighdeanas, a chuir mis' air falbh ann am braighdeanas, o Ieruſalem gu Babilon,

5 Togaibh tighean, agus gabhaibh còmhnuidh; agus ſuidhichibh lioſan, agus ithibh an toradh.

6 Gabhaibh mnathan, agus ginibh mic agus nigheanan; agus gabhaibh mnathan d' ur macaibh, agus thugaibh 'ur nigheanan do fhearaibh, a chum as gu'n beir iad mic agus nigheanan; a chum as gu meudaichear ſibh anns an àite ſin, agus nach lughdaichear ſibh.

7 Agus iarruibh ſìth na dùcha gus an do chuir mis' air falbh ſibh ann am braighdeanas: agus guidhibh air a ſon ris an Tighearn: oir na ſìth-ſa bithidh ſìth agaibh-ſa.

8 Oir mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil, Na meallar ſibh leis na fàidhean a ta 'n 'ur meaſg, agus le 'r luchd-ſioſachd; ni mò dh' éiſdeas ſibh ri'r bruadair a ta ſibh a toirt fainear a bhruadar.

9 Oir tha iad a' fàiſneachd bhreug dhuibh ann am ainm-ſa; cha do chuir mis' a mach iad, deir an Tighearn.

10 Oir mar ſo deir an Tighearn, An uair a choimhlionar ann am Babilon deich agus tri fichead bliadhna, thig miſe gu 'r n-amharc, agus coimhlionaidh mi dhuibh m' fhocal maith, a chum 'ur toirt air 'ur n-ais do 'n àite ſo.

11 Oir is aithne dhomh na ſmuaintean a ſmuainich mi do 'r taobh, deir an Tighearn, ſmuaintean ſìth, agus cha 'n e aimhleas, a thoirt duibh ſliochd agus dòchais.

12 An ſin gairmidh ſibh orm, agus théid ſibh agus ni ſibh urnaigh rium, agus éiſdidh miſe ruibh.

13 Agus iarruidh ſibh mi, agus gheibh ſibh *mi*, an uair a rannſuicheas ſibh air mo ſhon le 'r n-uile chridhe.

14 Agus bidh miſe air m' fhaotuinn leibh, deir an Tighearn, agus pillidh

mi

mi air a h-ais 'ur bruid, agus cruinn-
ichidh mi ſibh o na h-uile chinnich,
is o na h-uile àite gus an d' fhògair
mi ſibh, deir an Tighearn, agus bheir
mi ſibh a rìs a chum an àite o'n do chuir
mi air falbh ſibh ann am braighdeanas.
15 A chionn gu'n dubhairt ſibh,
Thog an Tighearn ſuas duinn fàidh-
ean ann am Babilon:
16 Mar ſo deir an Tighearn ris an
righ a ta na ſhuidhe air caithir Dhaibh-
idh, agus ris an uile ſhluagh a ta
chòmhnuidh anns a' bhaile ſo, *agus*
ri 'r bràithribh nach deachaidh a
mach leibh ann am braighdeanas;
17 Mar ſo deir Tighearn nan
ſluagh, Feuch, cuiridh mis orra an
claidheamh, a' ghort, agus a' phlàigh,
agus ni mi iad mar dhroch fhigean,
nach feudar itheadh aig an olcas.
18 Agus dian-ruaigidh mi iad leis
a' chlaidheamh, leis a' ghort, agus leis
a' phlàigh; agus bheir mi thairis iad
gu bhi air an luaſgadh air feadh uile
rioghachdan an domhain, gu bhi nam
mallachadh, agus nan uamhas, agus
nan ſgeig, agus nam maſladh, ann am
meaſg nan uile chinneach gus am fò-
gair mi iad:
19 A chionn nach d'éiſd iad ri m'
bhriathraibh-ſa, deir an Tighearn,
'nuair a chuir mi do 'n ionnſuidh
m' òglacha na fàidhean, ag éirigh gu
moch, agus 'gan cur a mach, ach cha
'n éiſdeadh ſibhſe, deir an Tighearn.
20 Cluinnibh uime ſin, focal Ie-
hobhah, ſibhs' uile ta do 'n bhruid, a
chuir miſe o Ieruſalem gu Babilon:
21 Mar ſo deir Tighearn nan
ſluagh, Dia Iſraeil, do thaobh Ahaib
mhic Cholaiah, agus Shedeciah mhic
Mhaaſeiah, a ta fàiſneachd bhréig
dhuibh ann am ainm-ſa, Feuch, bheir
miſe thairis iad do làimh Nebuchad-
neſair righ Bhabiloin, agus marbh-
aidh eſan iad fa chomhair 'ur ſùl;
22 Agus uatha-ſan togar ſuas mal-
lachadh le uile bhraighdibh Iudah a
th' ann am Babilon, ag ràdh, Gu 'n
deanadh an Tighearn thu coſmhuil ri
Sedeciah, agus coſmhuil ri Ahab, a
ròſt righ Bhabiloin anns an teine.
23 Do bhrìgh gu'n do chuir iad an
gnìomh aingidheachd ann an Iſrael,
agus gu'n d' rinn iad adhaltrus le
mnaibh an coimhearſnach, agus gu'n
do labhair iad briathran breugach ann
am ainm-ſa, nach d' àithn miſe dhoibh,
air am bheil eadhon miſe fioſrach
agus a' m' fhianuis, deir an Tighearn.
24 Labhraidh tu fòs ri Semaiah an
Nehelamach, ag ràdh,
25 Mar ſo labhair Tighearn nan
ſluagh, Dia Iſraeil, ag ràdh, A chionn
gu'n do chuir thu litrichean ann ad
ainm a chum an uile ſhluaigh a th'
ann an Ieruſalem, agus a chum Sheph-
aniah mhic Mhaaſeiah an ſagart, agus
a chum nan ſagart air fad, ag ràdh,
26 Rinn an Tighearn dhiot-ſa ſa-
gart ann an àite Iehoiada an t-ſagairt,
a chum gu'm biodh luchd-riaghailt ann
an tigh an Tighearna, air ſon gach
duine ta air chuthach, agus a' dean-
amh dheth féin fàidh, a chur anns an
tigh-ſmachdachaidh, agus ann an ſàs.
27 Uime ſin a nis, c'uime nach do
chronuich thu Ieremiah o Anatot, a
tha 'ga dheanamh féin na fhàidh
dhuibh?
28 Oir chuir e gun amharus fios
chugainne ta ann am Babilon, ag
ràdh, Tha *bbruid* ſo buan, togaibh
tighean, agus gabhaibh còmhnuidh,
agus ſuidhichibh lioſan, agus ithibh an
toradh.
29 [Agus leugh Sephaniah an ſa-
gart an litir ſo ann an cluaſaibh Iere-
miah an fhàidh.]
30 Uime ſin thàinig focal an Tigh-
earna gu Ieremiah, ag ràdh,
31 Cuir fios gu muinntir na bruid
air fad, ag ràdh, Mar ſo labhair an
Tighearn do thaobh Shemaiah an Ne-
helamaich; A chionn gu'n d' rinn Se-
maiah fàiſneachd dhuibh an uair nach
do chuir miſe mach e, agus gu'n d'
thug e oirbh earbs' a dheanamh a
bréig:
32 Air an aobhar ſin, mar ſo deir
an Tighearn, Feuch, ſmachdaichidh
miſe Semaiah an Nehelamach agus a
ſhliochd: cha bhi aige duine ghabhas
còmhnuidh am meaſg an t-ſluaigh ſo,
ni mò chi e am maith a ni miſe air
ſon mo phobuill, deir an Tighearn, a
chionn gu'n do labhair e ceannairc an
aghaidh an Tighearna.

C A I B. XXX.

AM focal a thàinig a chum Iere-
miah o 'n Tighearn, ag ràdh,

2 Mar so labhair an Tighearn Dia Israeil, ag ràdh, Sgrìobh dhuit féin na h-uile bhriathran a labhair mise riut, ann an leabhar.

3 Oir feuch, tha na laithean a' teachd, deir an Tighearn, anns an dthoir mise air a h-ais bruid mo shluaigh, Israeil agus Iudah, deir an Tighearn, agus bheir mi orra pilltinn a chum an fhearainn a thug mi do 'n aithrichibh, agus sealbhaichidh iad e.

4 Agus so na briathran a' labhair an Tighearn, mu thimchioll Israeil, agus mu thimchioll Iudah.

5 Oir mar so deir an Tighearn, Guth criothnachaidh chuala sinn; eagal, agus cha 'n e sìth.

6 Feòruichibh a nis, agus feuchaibh am beir firionnach leanabh? c'uim' am faic mi gach duine 's a làmhan air a leasraibh, mar mhnaoi ri saothair, agus tha na h-uile aghaidh air fàs bàn?

7 Mo thruaighe! oir is mòr an là sin, agus cha 'n 'eil a choimeas ann: agus is aimsir teanntachd[a] i do Iacob; ach tearnar aisd' e.

8 Oir tarlaidh anns an là sin, deir Tighearn nan sluagh, gu'm bris mise a chuing bharr a mhuineil, agus a chuibhrichean sgaoilidh mi as a' chéile; agus cha ghabh coigrich ni 's mò seirbhis deth.

9 Ach bheir iad seirbhis do 'n Tighearn an Dia, agus do Dhaibhidh an righ, a thogas mise suas doibh.

10 Uime sin na biodh eagal ort, O Iacoib, m' òglaich-sa, deir an Tighearn, agus na biodh geilt ort, O Israeil: oir feuch, bheir mise tèaruint thu o chéin, agus do shliochd o thìr an daorsa; agus pillidh Iacob, agus gheibh e fois agus sìth, agus cha bhi aon neach a' cur eagail air.

11 Oir tha mise maille riut, deir an Tighearn, chum do thearnadh: ged bheir mi crìoch iomlan air na h-uile chinnich gus an d' fhògair mi thu, gidheadh cha dthoir mi crìoch iomlan ortsa: ach smachdaichidh mi thu ann an tomhas, agus cha leig mi as thu gu h-iomlan o pheanas.

12 Oir mar so deir an Tighearn, Is do-leigheas do bhruthadh, is cràiteach do chreuchd.

13 Cha 'n 'eil neach ann a ni tagradh air da shon, a chum gu'm biodh tu air do cheangal suas: iocshlaint chum leigheis cha 'n 'eil agad.

14 Rinn dò leannana gu léir do dhearmad: cha 'n 'eil iad 'g a d' iarruidh, oir rinn mise do lot le lot nàmhaid, le smachdachadh garg; a chionn gu'n robh do chionta mòr; do lochdan lìonmhor.

15 C'uim an glaodh thu air son d' amhghair? cha ghabh do bhròn leigheas; a chionn gu'n robh do chionta mòr, do lochdan lionmhor, rinn mise na nithe so ort.

16 Uime sin bidh iadsan uile ta ga d' shlugadh, air an slugadh, agus théid do nàimhdean uile, gach aon diubh ann am braighdeanas: bithidh iadsan a ta ga d' chreachadh nan creich, agus na h-uile ta deanamh cobhartaich dhiot, bheir mise gu bhi nan cobhartach.

17 Oir aisigidh mi slàinte dhuit, agus leighisidh mi do chreuchdan, deir an Tighearn; ge do thuirt iad riut Dìobarach, Sion, ise do nach 'eil aig aon neach suim.

18 Mar so deir an Tighearn, Feuch, bheir mis' air a h-ais bruid phàilliun Iacoib, agus air 'ionada-còmhnuidh ni mi iochd, agus togar a' chathair air a torr féin, agus bidh an lùchairt a réir a nòis[b] féin air a daingneachadh.

19 Agus a mach aisda thig buidheachas, agus guth na muinntir a ni gairdeachas: agus ni mise lìonmhor iad, agus cha bhi iad tearc; ni mi fòs glòirmhor iad, agus cha bhi iad suarrach.

20 Bidh a chlann fòs mar roimhe so, agus bidh a choimhthional air a dhaingneachadh ann am làthairsa, agus ni mi peanas air gach neach a shàruicheas e.

21 Agus thig 'Uachdaran uaith féin, agus thig 'fhear-riaghlaidh a mach as a mheadhon; agus tairngidh mis e, agus thig e dlù dhomh: oir cò e so a shocruich a chridhe air teachd

[a] *carraid, trioblaid.* [b] *rian.*

teachd am ſogus dhomhſa? deir an Tighearn.

22 Agus bidh ſibhſe 'n 'ur ſluagh dhomhſa, agus bidh mis' ann am Dhia dhuibhſe.

23 Feuch, tha cuairt-ghaoth an Tighearna a' dol a mach le corruich; cuairt-ghaoth bhuan, a thuiteas le dòrainn air ceann nan ciontach.

24 Cha phill dian-chorruich an Tighearna air a h-ais, gus an dean, agus gus an coimhlion e rùn a chridhe: anns na laithibh deireannach bheir ſibh ſo fainear.

C A I B. XXXI.

ANNS an àm ſin, deir an Tighearn, bidh mis ann am Dhia do uile theaghlaichibh Iſraeil, agus bidh iadſan dhomhſa nan ſluagh.

2 Mar ſo deir an Tighearn, Fhuair an ſluagh a dh' fhàgadh leis a' chlaidheamh, caoimhneas anns an fhàſach; *eadhon* Iſrael, 'nuair chaidh *mis'* a thoirt fois da.

3 O chéin dh' fhoillſicheadh Iehobhah dhomhſa, *ag ràdh*, Seadh le gràdh ſiorruidh ghràdhaich mi thu; uime ſin tharruing mi thu le caoimhneas gràdhach.

4 A rìs togaidh mi thu, agus bithidh tu air do thogail, O òigh Iſraeil; a rìs ſgeadaichair thu le d' thiompanaibh, agus théid thu mach ann an dannſa na muinntir a ni aidhear.

5 Suidhichidh tu fathaſt ſion-lioſan air ſléibhtibh Shamaria; ſuidhichidh an luchd-ſuidheachaidh, agus ithidh iad an toradh.

6 Oir thàinig an là, dh' éigh an luchd-faire air ſliabh Ephraim; Eiribh, agus rachamaid ſuas gu Sion, a chum an Tighearna ar Dia.

7 Oir mar ſo deir an Tighearn, Deanaibh iolach ann an Iacob le h-aoibhneas, agus deanaibh luadhghair am meaſg rogha nan cinneach; cuiribh an céill, molaibh, agus abraibh, O Thighearn, ſaor do ſhluagh, iarmad Iſraeil.

8 Feuch, bheir mi iad o 'n tìr mu thuath, agus tionailidh mi iad o chrìochaibh na talmhainn: as dall agus am bacach maille riu, a' bhean thorrach, maraon agus is' a ta ri ſaothair; nan cuideachd mhòir pillidh iad.

9 Thig iad le gul, agus le caomhalachd ni mis' an treòrachadh; treòraichidh mi iad ri taobh nan fruithean uiſge, air ſlighe réidh, far nach faigh iad tuiſleadh; oir tha miſe ann am athair do Iſrael; agus Ephraim, is eſan mo cheud-ghin.

10 Cluinnibh focal an Tighearna, O chinneacha, agus cuiribh an céill e anns na h-eileanaibh fad as, agus abraibh, Eſan a ſgap Iſrael, ni e a chruinneachadh agus a choimhead, mar ni buachaill' a threud.

11 Oir ſhaor an Tighearn Iacob, agus dh' fhuaſgail ſe e o làimh an fhir bu treiſe na e féin.

12 Uime ſin thig iad agus ſeinnidh iad ann an airde Shioin, agus cruinnichidh iad le chéile chum maitheis an Tighearna, air ſon cruineachd, agus air ſon fiona, agus air ſon oladh, agus air ſon àlaich an treud agus na ſpréidhe: agus bidh an anam mar ghàradh uiſgichte, agus cha dean iad air aon chor bròn ni 's mo.

13 An ſin ni an òigh gairdeachas anns an dannſa, na daoin' òga, agus na ſeann daoine le chéile: oir tionndaidhidh mis am bròn gu h-aoibhneas, agus bheir mi dhoibh co-fhurtachd, agus ni mi ſolaſach iad an déigh an amhghair.

14 Agus ſàſuichidh mi anam nan ſagart le nithibh blaſda, agus bidh mo ſhluagh air an ſàſuchadh le mo mhaitheas, deir an Tighearn.

15 Mar ſo deir an Tighearn, Chualas guth ann an Ramah, caoidh, gul ro-ghoirt; Rachel a' gul air ſon a cloinne; diùlt i co-fhurtachd air ſon a cloinne, a chionn nach 'eil iad ann [a].

16 Mar ſo deir an Tighearn, Cum do ghuth o chaoidh, agus do ſhùilean o dheuraibh: oir gheibh do ſhaothair duais, deir an Tighearn, agus thig iad a rìs o thìr an nàmhaid.

17 Agus tha dòchas a thaobh do chrìch dheireannach, deir an Tighearn,

[a] *nach maireann iad*; *nach 'eil iad* beò.

earn, gu 'n dthig[a] do chlann a rìs
gu 'n criochaibh féin.

18 Gu deimhin chuala mi Ephraim
a' caoidh gu goirt, Smachdaich thu
mi, agus bha mi air mo ſmachdach-
adh, mar dhamh nach do chleachd
a' chuing: pill thuſa mi, agus bithidh
mi air mo philleadh; oir is tu an
Tighearn mo Dhia.

19 Gu deimhin an déigh dhomh
bhi air mo philleadh, ghabh mi aith-
reachas; agus an déigh dhomh bhi air
mo theagaſg, bhuail mi air mo leis;
bha nàir' orm, ſeadh fòs geur-amh-
luadh, a chionn gu'n do ghiùlain mi
maſladh m' òige.

20 Nach e Ephraim mo mhac
caomh? nach leanabh ro-thaitneach
e? oir, o 'n uair a labhair mi na agh-
aidh, tha mi gu dùrachdach 'ga
chuimhneachadh fathaſd: uime ſin
tha iomairt ann am chom air a ſhon:
ni mi gu deimhin tròcair air, deir an
Tighearn.

21 Cuir ſuas duit féin comharan
ſlighe; dean duit féin cruinn arda:
cuir do chridhe ris an t-ſlighe, an
t-ſlighe air an d' imich thu: pill a rìs,
O òigh Iſraeil, pill a rìs dh' ionnſuidh
do chathraichean ſo.

22 Cia-fhad a bhios tu ag tionnd-
adh mu 'n cuairt, O a nighean chùl-
ſleamhnach: oir chruthaich an Tigh-
earn ni nuadh air an talamh, Ni bean
fear a chuartachadh.

23 Mar ſo deir Tighearn nan
ſluagh, Dia Iſraeil, Gnàthaichidh iad
fathaſt a' chainnt ſo ann am fearann
Iudah, agus na bhailtibh, an uair a
bheir mis' air a h-ais am bruid, Gu 'm
beannuicheadh an Tighearn thu, O
àite-chòmhnuidh a' cheartais, O ſhléibh
na naomhachd.

24 Agus ann an Iudah, agus na
uile bhailtibh, gabhaidh treabhaichean
còmhnuidh, agus luchd-coimhead nan
treuda.

25 Oir ſhàſuich miſe an t-anam
tartmhor, agus gach anam acrach lìon
mi.

26 *Air* ſin mhoſgail, agus chunnaic
mi, agus bha mo chadal taitneach
dhomh.

27 Feuch tha na laithean a' teachd,
deir an Tighearn, anns an cuir miſe
tigh Iſraeil, agus tigh Iudah le ſiol
duine agus le ſiol ainmhidh.

28 Agus tarlaidh, amhuil a rinn
miſe faire os an cionn gu ſpionadh a
nìos, gu briſeadh, agus gu tilgeadh sios,
agus gu ſgrios, agus gu claoidh; mar
ſin ni mi faire os an cionn, gu togail,
agus gu ſuidheachadh, deir an Tigh-
earn.

29 Anns na laithibh ſin cha 'n abair
iad ni 's mo, Dh'ith na h-aithrichean
meas ſearbh, agus tha deiſinn air fiac-
laibh na cloinne.

30 Ach gheibh gach aon bàs na
aingidheachd féin, gach aon a dh'itheas
an caorann ſearbh, air 'fhiaclaibh-ſan
bidh deiſinn.

31 Feuch, tha na laithean a' teachd,
deir an Tighearn, anns an dean miſe
coimhcheangal nuadh ri tigh Iſraeil,
agus ri tigh Iudah:

32 Cha 'n ann a réir a choimh-
cheangail a rinn mi r'an aithrichibh,
anns an là ſan do ghlac mi air làimh
iad, a chum an toirt a mach a talamh
na h-Eiphit; eadhon mo choimh-
cheangal a bhris iad, ged bha mi na
m' fhear-pòſda dhoibh, deir an Tigh-
earn:

33 Ach ſo an coimhcheangal a ni
mi ri tigh Iſraeil; An déigh nan
laithean ſin, deir an Tighearn, cuiridh
mi mo reachd nan taobh a ſtigh, agus
ſgrìobhaidh mi air an cridheachan e,
agus bidh miſe dhoibh-ſan na mo Dhia,
agus bidh iadſan dhomhſa nam pob-
ull.

34 Agus cha teagaiſg iad ni's mò,
gach aon a choimhearſnach, agus gach
aon a bhràthair, ag radh, Gabhaibh
eòlas air an Tighearn, oir bithidh
eòlas aca ormſa uile, o 'n neach a 's
lugha, gus an neach a 's mò dhiubh,
deir an Tighearn: oir maithidh miſe
an aingidheachd, agus cha chuimhn-
ich mi ni 's mò an cionta.

35 Mar ſo deir an Tighearn, tha
toirt na gréine air ſon ſoluis anns an
là, orduighean na gealaiche agus nan
reultan air ſon ſoluis anns an oidhche,
ta deanamh na fairge ciuin, tra bhios a
tuinn

[a] *Bidh dochas aig do ſhliochd, deir an Tighearn, agus thig.*

tuinn a' beucaich; Tighearn nan
fluagh is e 'ainm.
36 Ma dh'imicheas na h-orduigh-
ean fo as mo fhealladh-fa, deir an
Tighearn, *an fin* cuideachd fguiridh
fliochd Ifraeil o bhi nan cinneach am
feafd ann am làthair.
37 Mar fo deir an Tighearn, Ma
dh 'fheudar na neamha fhuas a thomh-
as, agus bunaite na talmhainn fhìos a
rannfachadh a mach, *an fin* tilgidh
mife uam mar an ceudna uile fhliochd
Ifraeil, air fon gach ni a rinn iad, deir
an Tighearn.
38 Feuch tha na laithean a' teachd,
deir an Tighearn, anns an togar a'
chathair air fon an Tighearna, o thorr
Hananeeil, gu geata na h-oifinn.
39 Agus théid an t-freang-thomh-
ais fathafd a mach m' a coinneamh,
thair fliabh Ghareib, agus cuartaichidh
i fteach Goat.
40 Agus gleann nan corpa marbha
gu h-iomlan, agus na luaithre, agus na
machraichean uile gu fruthan Chid-
roin, gu oifinn geata nan each an
taobh an ear, bidh iad naomh do 'n
Tighearn: cha fpìonar a nìos, agus
cha tilgear sìos e ni 's mò gu bràth.

C A I B. XXXII.

AM focal a thàinig gu Ieremiah
o 'n Tighearn anns an deich-
eamh bliadhna do linn Shedeciah righ
Iudah, (b'i fin an t-ochdamh bliadhna-
deug do linn Nebuchadnefair)
2 Anns an àm an robh feachd righ
Bhabiloin a' cuartachadh Ierufaleim,
agus Ieremiah am fàidh air a dhruid-
eadh fuas ann an cùirt a' phrìofuin a
bha 'n tigh righ Iudah.
3 Oir dhruid Sedeciah righ Iudah
fuas e, ag ràdh, C' uim' am bheil thu
ri fàifneachd, agus ag ràdh, Mar fo
deir an Tighearn, Feuch, bheir mis' a'
chathair fo do làimh righ Bhabiloin,
agus glacaidh efan i?
4 Agus cha dthéid Sedeciah righ
Iudah as o làimh nan Caldéach, ach
bheirear fuas e gu deimhin do làimh
righ Bhabiloin, agus labhraidh e ris,
beul ri beul, agus chi a fhùilean a
fhùilean-fan.
5 Agus bheir e leis Sedeciah gu
Babilon, agus an fin bithidh e gus an
dthig mife 'ga amharc, deir an Tigh-
earn: ged ghleachd fibh ris na Cal-
déich, cha bhuadhaich fibh.
6 Agus thubhairt Ieremiah, Thàin-
ig focal an Tighearna do m' ionnfuidh,
ag ràdh,
7 Feuch, thig Hanameel mac Shal-
uim, bràthar d'athar, do d' ionnfuidh,
ag ràdh, Ceannuich dhuit féin m'
achadh-fa a ta ann an Anatot, oir is
leat còir [a] a fuafglaidh, gus a ceannach.
8 Agus thàinig Hanameel, mac
bràthar m' athar do m' ionnfuidh ann
an cùirt a' phrìofuin, a réir focail an
Tighearna, agus thuirt e rium, Ceann-
uich, guidheam ort, m'achadh a ta ann
an Anatot, ann an dùthaich Bheniam-
in: oir is leat-fa a' chòir-fheilbhe,
agus is leatfa a fuafgladh, ceannuich i
dhuit féin: an fin dh' aithnich mi
gu 'm b'e fo focal an Tighearna.
9 Agus cheannuich mi achadh Ha-
nameeil, mhic brathar m' athar, a bha
ann an Anatot, agus thomhais mi dha
an t' airgiod, feachd fecele deug
airgid.
10 Agus chuir mi mo làmh ris an
fgrìobhadh, agus fheulaich mi e, agus
ghabh mi fianuifean, agus thomhais
mi an t-airgiod air a' mheigh.
11 Agus ghabh mi dearbhadh a'
cheannuich, e fin anns an robh an
gnothuch agus na cumhnantan feul-
aichte, agus e fin a bha fofgailte.
12 Agus thug mi dearbhadh a'
cheannuich do Bharuch mac Neriah,
mhic Mhaafeiah, ann an fealladh
Hanameeil mhic bràthar m' athar,
agus an làthair nam fianuifean, a chuir
an làmh ri leabhar a' cheannuich, an
làthair nan Iudhach uile bha nan
fuidhe ann an cùirt a' phrìofuin.
13 Agus thug mi earail theann do
Bharuch nan làthair, ag ràdh,
14 Mar fo deir Tighearn nan fluagh,
Dia Ifraeil, Gabh na fgrìobhuinnean
fo, fgrìobhadh fo na ceannachd, araon
e fin a ta feulaichte, agus an fgrìobh-
adh fo a ta fofgailte, agus cuir iad ann
an foitheach criadha, chum gu mair iad
mòran laithean.

15 Oir

[a] *ceart, dlighe.*

15 Oir mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil, Sealbhuichear tighean, agus machraichean, agus fion-lioſan anns an tir ſo fathaſd.

16 A nis an uair a thug mi ſeachad ſgrìobhadh na ceannachd do Bharuch mac Neriah, rinn mi urnuigh ris an Tighearn, ag ràdh,

17 Ah, a Thighearna Dhia, feuch, rinn thuſa nèamh agus an talamh le d' mhòr chumhachd agus le d' ghairdean sìnte mach, agus cha 'n 'eil ni ſam bith tuille 's cruaidh ort.

18 Taiſbeanaidh tu caoimhneas gràdhach do mhìltibh, agus dìolaidh tu aingidheachd nan aithrichean ann an uchd an cloinne nan déigh; an Dia mòr, cumhachdach, do 'n ainm Tighearn nan ſluagh.

19 Mòr ann an comhairle, agus cumhachdach ann an gnìomh (oir tha do ſhùilean foſgailt air uile ſhlighibh chloinn nan daoin, a thoirt do gach aon do réir a ſhlighe, agus do réir toraidh a ghnìomhara,)

20 A dh' fhoilliſich comharan agus mìorbhuilean ann an tìr na h-Eiphit, gus an là an diugh, agus ann an Iſrael, agus ann am meaſg dhaoine, agus a rinn duit féin ainm, mar air an là 'n diugh;

21 Agus a thug a mach do ſhluagh Iſrael a tìr na h-Eiphit, le comharaibh agus le mìorbhuilibh, agus le làimh làidir, agus le gairdean sìnt' a mach, agus le h-uamhas mòr.

22 Agus a thug dhoibh am fearann ſo, a mhionnuich thu do 'n aithrichibh gu'n d-thugadh tu dhoibh, fearann a ſruthadh le bainne agus le mil.

23 Agus thàinig iad a ſteach, agus ſhealbhuich iad e; ach cha d' thug iad géill do d' ghuth-ſa, ni mò ghluais iad ann ad reachd: cha d' rinn iad ni ſam bith do na h-uile nithibh a dh'àithn thuſa dhoibh a dheanamh; uime ſin thug thu an t'olc ſo uile orra.

24 Feuch, na h-inneil bhriſidh, tha iad air teachd a chum na cathrach gus a glacadh, agus tha a' chathair air a toirt do làimh nan Caldéach a ta cogadh na h-aghaidh, air ſon a' chlaidheimh, agus na gorta, agus na plàighe; agus an ni a labhair thu, thàinig e gu crìch, agus feuch, tha thuſa 'g *a* haicinn.

25 Gidheadh thuirt thu riumſa, (O Thighearna Dhia) Ceannuich dhuit féin an t' achadh air ſon airgid, agus gabh fianuiſean: an uair a ta chathair air a toirt thairis gu làimh nan Caldéach.

26 An ſin thàinig focal an Tighearna gu Ieremiah, ag ràdh,

27 Feuch, is miſe an Tighearn, Dia na h-uile fheòla: am bheil ni ſam bith tuille 's cruaidh ormſa?

28 Uime ſin, mar ſo deir an Tighearn, Feuch, bheir mi a' chathair ſo do làimh nan Caldéach, agus do làimh Nebuchadneſair righ Bhabiloin, agus glacaidh ſe i.

29 Agus thig na Caldéich a ta cogadh an aghaidh na cathrach ſo, agus cuiridh iad teine rithe, agus loiſgidh iad i, maille ris na tighibh air an do loiſg iad tùis air am mullach do Bhaal, agus *air an* do dhòirt iad tabhartaſa-dibhe a mach do dhéibh eile, chum mis' a bhroſnuchadh gu feirg.

30 Oir cha d' rinn clann Iſraeil, agus clann Iudah ach olc a mhàin ann am fhianuis-ſa o 'n òige: oir cha d' rinn clann Iſraeil ach a mhàin mo bhroſnuchadh gu feirg le obair an làmha, deir an Tighearn.

31 Oir bha a' chathair ſo dhomhſa na h-aobhar feirge agus corruich, o'n là ſan do thog iad i, eadhon gus an là an diugh; a chum gu 'n atharruichinn i as mo ſhealladh:

32 Air ſon uile aingidheachd cloinne Iſraeil, agus cloinne Iudah, a rinn iad a chum mis' a bhroſnuchadh gu corruich, iad féin, an righrean, an uachdarain, an ſagairt, agus am fàidhean, agus muinntir Iudah, agus luchdàiteachaidh Ieruſaleim.

33 Agus thionndaidh iad riumſa an cùl, agus cha 'n i an aghaidh; ged theagaiſg mi iad, ag éirigh gu moch agus a' teagaſg, gidheadh cha d' éiſd iadſan, a ghabhail teagaiſg.

34 Ach ſhuidhich iad an gràinealachdan anns an tigh a ta air 'ainmeachadh ormſa, chum a thruailleadh.

35 Agus thog iad ionadan àrda Bhaail, a ta ann an gleann mhic Hinoim, a thoirt air am mic is air an nigheana dol trid *an teine* do Mholech; ni nach d' àithn miſe dhoibh,

agus

agus nach d' thàinig idir ann am aire; a' cur an gnìomh na gràinealachd ſo, gu cionta thoirt air Iudah.

36 Agus a nis uime ſin, mar ſo deir an Tighearn Dia Iſraeil, do thaobh na cathrach ſo, mu 'm bheil ſibhs' ag ràdh, Bidh i air a toirt thairis do làimh righ Bhabiloin, leis a' chlaidheamh, agus leis a' ghort, agus leis a' phlàigh:

37 Feuch, tionailidh mis' iad as na h-uile dhùchannaibh gus an d' fhògair mi iad ann am chorruich, agus ann am bhoile, agus ann am mhòr-fheirg; agus bheir mi chum an àite ſo iad a rìs, agus bheir mi orra còmhnuidh ghabhail gu tèaruinte.

38 Agus bidh iad dhomhſa nan ſluagh, agus bidh miſe dhoibhſan a' m' Dhia.

39 Agus bheir mi dhoibh aon chridhe, agus aon ſlighe, a chum as gu 'm bi m' eagal-ſa gu bràth orra, chum an leas féin, agus *leas* an cloinne nan déigh.

40 Agus ni mi riu coimhcheangal sìorruidh, nach pill mi air falbh uatha, chum maith a dheanamh dhoibh; agus cuiridh mi m' eagal nan cridhe, chum nach dealuich iad rium.

41 Seadh ni mi gairdeachas tharta chum maith a dheanamh dhoibh, agus ſuidhichidh mi iad anns an fhearann ſo gu deimhin, le m' uile chridhe, agus le m' uile anam.

42 Oir mar ſo deir an Tighearn, Amhuil a thug mi an t-olc mòr ſo uile air an t-ſluagh ſo, is amhluidh bheir mi orra am maith ſin uile a gheall mi dhoibh.

43 Agus ceannuichear achaidh anns an fhearann ſo, mu 'm bheil ſibhs' ag ràdh, Tha e fàs gun duine no ainmhidh: tha e air a thoirt do làimh nan Caldéach.

44 Ceannuichidh daoine achaidh air ſon airgid, agus cuiridh iad an làmh ri ſgrìobhainnibh, agus ſeulaichidh iad, agus gabhaidh iad fianuiſean ann am fearann Bheniamin, agus anns na h-àiteachaibh dlù do Ieruſalem, agus ann am bailtibh Iudah, agus ann am bailtibh nam beann, agus ann am bailtibh a' chòmhnaird, agus ann am bailtibh na h-airde deas: oir bheir miſe air a h-ais am bruid, deir an Tighearn.

C A I B. XXXIII.

OS barr thàinig focal an Tighearna gu Ieremiah an dara uair, (an tra bha e fathaſd air a dhruideadh ſuas ann an cùirt a' phrìoſuin) ag ràdh,

2 Mar ſo deir an Tighearn a rinn e, an Tighearn a dhealbh e, a ta fòs 'ga dhaingneachadh; is e 'ainm Iehobhah;

3 Glaodh riumſa, agus freagraidh mi thu, agus feuchaidh mi dhuit nithe mòra agus cumhachdach, air nach 'eil thu eòlach.

4 Oir mar ſo deir an Tighearn, Dia Iſraeil, do thaobh thighean na cathrach ſo, agus do thaobh thighean righrean Iudah, a ta air an tilgeadh ſios leis na h-inneil bhriſidh, agus leis a' chlaidheamh,

5 A ta air teachd gu cogadh air taobh nan Caldéach, agus gu 'n lionadh le corpaibh marbha nan daoine a bhuail miſe ann am fheirg, agus ann am chorruich, agus a thug orm, air ſon an uile aingidheachd, mo ghnùis fholach o 'n chathair ſo:

6 Feuch, bheir mi dh'i ſlàinte agus leigheas, agus ni mi an ſlànuchadh; agus nochdaidh mi dhoibh pailteas sìth agus fìrinn.

7 Agus bheir mi air a h-ais bruid Iudah, agus bruid Iſraeil; agus togaidh mi iad mar air tùs.

8 Agus glanaidh mi iad o 'n uile aingidheachd, leis an do chiontaich iad a' m' aghaidh; agus maithidh mi an uile lochdan, leis an do pheacaich iad, agus leis an d' rinn iad ceannairc ann am aghaidh.

9 Agus bidh *a' chathair* ſo dhomhſa na h-ainm ſòlais, na moladh, agus na maiſe, ann am meaſg uile chinneacha na talmhainn, a chluinneas gach uile mhaith a ni miſe dhoibh: agus bidh eagal agus crith orra, air ſon an uile mhaitheis, agus air ſon an uile ſhoirbheachaidh a dheònuicheas miſe dhoibh.

10 Mar ſo deir an Tighearn, a rìs cluinnear anns an àite ſo (mu 'm bheil ſibhſe ag ràdh, Tha e fàs gun duine agus gun ainmhidh, *eadhon* ann an

eathraichean

cathraichean Iudah, agus ann an ſràid-
ibh Ieruſaleim, a ta fàs, gun duine,
eadhon gun fhear-àiteachaidh, agus
gun ainmhidh,)
11 Guth aoibhneis, agus guth ſubh-
achais, guth an fhir nuadh-phòſda,
agus guth na mna nuadh-pòſda, guth
na muinntir a their, Molaibhſe Tigh-
earn nan ſluagh, oir tha an Tighearn
maith, oir tha 'thròcair buan gu sior-
ruidh; *agus* na muinntir a bheir an io-
bairt-mholaidh gu tigh an Tighearna;
oir bheir miſe air a h-ais bruid an
fhearainn, mar air tùs, deir an Tigh-
earn.
12 Mar ſo deir Tighearn nan
ſluagh, Fathaſd anns an àite ſo a ta
fàs, gun duine agus gun ainmhidh,
agus na uile bhailtibh, bidh àite-
còmhnuidh nam buachaillean a' toirt
air an treudan luidhe ſìos.
13 Ann am bailtibh nam beann,
agus ann am bailtibh a' chòmhnaird,
agus ann am bailtibh na h-airde deas,
agus ann am fearann Bheniamin, agus
anns na h-ionadaibh timchioll Ieruſa-
leim, agus ann am bailtibh Iudah,
ſiùbhlaidh na treudan a rìs fo làimh
an ti dh' àirmheas *iad*, deir an Tigh-
earn.
14 Feuch, tha na laithean a' teachd,
deir an Tighearn, anns an coimhlion
miſe an ni maith ſin a gheall mi do
thigh Iſraeil, agus do thigh Iudah.
15 Anns na laithibh ſin, agus anns
an àm ſin bheir miſe air Meanglan
fìreantachd fàs ſuas do Dhaibhidh,
agus cuiridh e an gnìomh breitheanas
agus ceartas air an talamh.
16 Anns na laithibh ſin tearnar
Iudah, agus gabhaidh Ieruſalem
còmhnuidh ann an tèaruinteachd:
agus is e ſo eſan ris an goirear IE-
HOBHAH AR FIREANTACHD.
17 Oir mar ſo deir Iehobhah, Cha
bhi gu bràth a dh' uireaſbhuidh air
Daibhidh duin' a ſhuidheas air righ-
chaithir tighe Iſraeil;
18 Ni mò bhios na ſagairt na
Lebhithich gun duine ann am làthair-
ſa, a dh' ìobradh thabhartas-loiſgte,
agus a loſgadh thabhartas-bìdh, agus
a dheanamh ìobairt an còmhnuidh.
19 Thàinig focal an Tighearna fòs
gu Ieremiah, ag ràdh,
20 Mar ſo deir an Tighearn, Ma
dh' fheudar leibh mo choimhcheangal-
ſa ris an là a bhriſeadh, agus mo
choimhcheangal ris an oidhche, agus
nach bi là no oidhche ann nan àm
féin;
21 *An ſin* fòs feudar mo choimh-
cheangal-ſa ri Daibhidh m' òglach a
bhriſeadh, gun mhac a bhi aige gu
riaghladh air a righ-chaithir, agus ris
na Lebhithich na ſagairt, mo luchd-
frithealaidh.
22 Mar nach feud feachd nèimh a
bhi air 'àireamh, no gaineamh na
fairge bhi air a tomhas: is amhluidh
a ni miſe lìonmhor ſliochd Dhaibhidh
m' òglaich, agus na Lebhithich a ta
frithealadh dhomh.
23 Os barr, thàinig focal an Tigh-
earna gu Ieremiah, ag ràdh,
24 Am bheil thu toirt fainear ciod
a tha 'n ſluagh ſo a' labhairt, ag ràdh,
An dà theaghlach a roghnaich an
Tighearn, rinn e an tilgeadh uaith?
agus rinn iad di-meas air mo ſhluagh-
ſa, air chor as nach 'eil iad 'gam mea-
ni 's mò mar chinneach.
25 Mar ſo deir an Tighearn, Mur
'eil mo choimhcheangal-ſa ris an là
agus ris an oidhche; reachdan nèimh
agus talmhainn mur do ſhocruich mi;
26 An ſin tilgidh mi uam ſliochd
Iacoib, agus Dhaibhidh m' òglaich,
gun aon d 'a ſhliochd a ghabhail, gu
bhi nan luchd riaghlaidh thar ſliochd
Abrahaim, Iſaaic, agus Iacoib: oir
bheir mi air a h-ais am bruid, agus ni
mi tròcair orra.

C A I B. XXXIV.

AM focal a thàinig gu Ieremiah
o 'n Tighearn, ('nuair a chog
Nebuchadneſar righ Bhabiloin, agus
'uile fheachd, agus uile rioghachdan
an domhain a bha fo 'thighearnas,
agus na ſloigh uile, 'n aghaidh Ieru-
ſaleim, agus an aghaidh a h-uile
bhailtean.) ag ràdh,
2 Mar ſo deir an Tighearn, Dia Iſ-
raeil, Imich, agus labhair ri Sedeciah
righ Iudah, agus abair ris, Mar ſo
deir an Tighearn, Feuch, bheir miſ
a' chathair ſo do làimh righ Bhabi-
loin, agus loiſgidh ſe i le teine:
3 Agus thuſa, cha dtheid thu as o
'làimh,

làimh, ach bithidh tu gu cinnteach air
do ghlacadh, agus air do thoirt thairis
d'a làimh, agus chi do fhùilean fùilean
righ Bhabiloin, agus labhraidh e riut beul
ri beul, agus falbhaidh tu gu Babilon.
4 Gidheadh cluinn focal an Tigh-
earna, O Shedeciah, a righ Iudah;
Mar fo deir an Tighearn do d' thaobh-
fa. Cha 'n fhaigh thu bàs leis a'
chlaidheamh;
5 Gheibh thu bàs ann an sìth;
agus do réir lofgaidh d' aithrichean,
na righrean roimhe fo, a bha air thoif-
each ortfa, is amhluidh a loifgear *tùis*
dhuitfe; agus ni iad caoidh air do
fhon, *ag radh*, Och a thighearna! oir
labhair mife am focal[a], deir an Tigh-
earn.
6 Agus labhair Ieremiah am fàidh
na briathran fo uile ri Sedeciah righ
Iudah, ann an Ierufalem,
7 An uair a chog feachd righ Bha-
biloin an aghaidh Ierufaleim, agus an
aghaidh uile bhailtean Iudah a bha
air am fàgail, an aghaidh Lacheis,
agus an aghaidh Afecah: oir mhair
iad fo do bhailtibh Iudah nam bailtibh
daingnichte.
8 Am focal a thàinig gu Ieremiah
o 'n Tighearn, an déigh do righ Se-
deciah coimhcheangal a dheanamh ris
an uile fhluagh a bha ann an Ierufa-
lem, a dh' éigheach faorfa dhoibh:
9 A chum gu'n leigeadh gach duine
d' a òglach, agus gach duine d'a bhan-
oglaich, Eabhrach no ban-Eabhrach,
falbh faor, gun neach a ghabhail
feirbhis diubh, gach aon do Iudhach
a bhràthair.
10 A nis, an uair a chuala na h-uach-
darain uile, agus an fluagh uile a
thionnfgain anns a choimhcheangal,
gu'n leigeadh gach duine d'a òglach,
agus gach duine d 'a bhan-oglaich
falbh faor, nach gabhadh aon feirbhis
diubh ni bu mhò, an fin thug iad
géill, agus leig iad air falbh iad.
11 Ach thionndaidh iad a rìs, agus
thug iad air na h-òglaich, agus air na
ban oglaich, a leigeadh air falbh faor,
pilleadh air an ais, agus thug iad fo
fmachd iad, a chum bhi nan òglaich,
agus nam ban-oglaich.

12 Uime fin thàinig focal an Tigh-
earna gu Ieremiah, ag ràdh,
13 Mar fo deir an Tighearn, Dia
Ifraeil, Rinn mife coimhcheangal ri 'r
n-aithrichibh anns an là fan d' thug mi
iad a mach a talamh na h-Eiphit, a
tigh nan daor, ag ràdh,
14 'An ceann fheachd bliadhna,
leigibh a chead, gach aon d'a bhràth-
air Eabhrach, a bha air a reic riut: an
uair a bheir e feirbhis duit sè bliadhna,
leigidh tu dha falbh uait faor. Ach
cha d' éifd 'ur n-aithrichean riumfa,
ni mò dh' aom iad an cluas.
15 Agus bha fibh a nis air pilleadh,
agus air deanamh gu ceart ann am
fhealladh-fa, le faors a ghlaodhach,
gach neach d' a choimhearfnach, agus
rinn fibh coimhcheangal ann am
fhianuis, anns an tigh a ta air a ghairm
air m' ainm.
16 Ach phill fibh, agus thruaill fibh
m' ainm, agus thug fibh, gach aon air
'òglach, agus gach aon air a bhan-
oglaich, a leig e faor uaith gu 'thoil
féin, pilleadh air an ais; agus chuir
fibh fo fmachd iad, gu bhi dhuibh
nan oglaich agus nam ban-oglaich.
17 Air an aobhar fin, mar fo deir
an Tighearn, Cha d' éifd fibh riumfa
ann an faors' a ghlaodhach, gach aon
d' a bhràthair, agus gach aon d 'a
choimhearfnach: feuch do 'r taobhfa
tha mis' a glaodhach faorfa, deir an
Tighearn, do 'n chlaidheamh, do 'n
phlàigh, agus do 'n ghort; agus bheir
mi oirbh bhi air 'ur luafgadh air feadh
uile rioghachdan an domhain.
18 Agus bheir mi a' mhuinntir a
bhris mo choimhcheangal, nach do
choimhlion briathran a' choimhcheang-
gail a rinn iad ann am làthair-fa,
'nuair a ghearr iad an laogh na dhà
leth, agus a dh' imich iad eadar a
bhloighdean,
19 Ceannardan Iudah, agus ceann-
nardan Ierufaleim, agus na caillteanaich,
agus na fagairt, agus uile
fhluagh an fhearainn a dh' imich eadar
bloighdean an laoigh;
20 Bheir mi eadhon iad fin do
làimh an naimhdean, agus do làimh
na

[a] *bhriathraich mife briathar.*

na muinntir a ta 'g iarruidh an anama; agus bidh an cairbhearnan mar bhiadh do eunlaith an athair, agus do bheathaichibh na talmhainn.

21 Agus Sedeciah righ Iudah, agus a phrionnſachan, bheir miſe do làimh an naimhdean, agus do làimh na muinntir a ta 'g iarruidh an anama, eadhon do làimh feachda righ Bhabiloin, a ta air imeachd ſuas uaibh.

22 Feuch, bheir miſe àithne, deir an Tighearn, agus bheir mi orra pilleadh air an ais do 'n chathair ſo; agus cogaidh iad na h-aghaidh, agus glacaidh iad i, agus loiſgidh iad i le teine; agus bailtean Iudah ni mi nan làraich ſgaoilte, gun aon neach 'g an àiteachadh.

CAIB. XXXV.

AM focal a thàinig gu Ieremiah o 'n Tighearn, ann an laithibh Iehoiacim mhic Ioſiah righ Iudah, ag ràdh,

2 Imich gu tigh nan Rechabach, agus labhair riu, agus thoir iad a chum tighe an Tighearna, gu aon do na ſeòmraichean, agus thoir dhoibh fion r 'a òl.

3 An ſin ghabh mi Iaaſaniah mac Ieremiah, mhic Habaſiniah, agus a bhràithrean, agus 'uile mhic, agus uile theaghlach nan Rechabach;

4 Agus thug mi iad gu tigh an Tighearna, gu ſeòmar mhac Hanain, mhic Igdaliah, òglaich Dhé, a bha ri taobh ſeòmair nan uachdaran, a bha os cionn ſeòmair Mhaaſeiah mhic Shaluim, fir-gleidhidh an doruis:

5 Agus chuir mi air beulaobh mhac tighe nan Rechabach ſoireachan làn fiona, agus copain; agus thuirt mi riu, Olaibh fion.

6 Ach thuirt iadſan, Cha 'n òl ſinne fion: oir thug Ionadab mac Rechaib ar n-athair, àithne dhuinn, ag ràdh, Na h-òlaibhſe fion, ſibh féin no 'ur mic gu bràth.

7 Ni mò thogas ſibh tigh, no chuireas ſibh ſiol, no ſhuidhicheas ſibh fion-lios, no bhios *aon* agaibh; ach fad 'ur n-uile laithean ni ſibh còmhnuidh ann am bùthaibh, a chum gu mair ſibh mòran laithean ſan fhearann anns am bheil ſibh 'nur coigrich.

8 Agus thug ſinn géill do ghuth Ionadaib mhic Rechaib ar n-athar, anns gach ni a chuir e mar fhiachaibh oirnn, gun fhìon air bith òl fad ar n-uile laithean, ſinn féin, ar mnai, ar mic, no ar nigheana;

9 No tighean a thogail duinn féin gu còmhnuidh gh[illegible] nail annta: ni mo' ta againn fion-lios, no achadh, no ſiol.

10 Ach ghabh ſinn còmhnuidh ann am bùthaibh, agus thug ſinn géill, agus rinn ſinn do réir gach ni a dh'àithn ar n-athair Ionadab dhuinn.

11 Ach tharladh, an uair a thàinig Nebuchadneſar righ Bhabiloin a nìos do 'n fhearann, gu'n dubhairt ſinn, Thigibh, agus rachamaid gu Ieruſalem, air eagal feachd nan Caldéach, agus air eagal feachd nan Siriach: air an aobhar ſin tha ſinn a chòmhnuidh ann an Ieruſalem.

12 An ſin thàinig focal an Tighearna gu Ieremiah, ag ràdh,

13 Mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil, Imich agus abair ri fearaibh Iudah, agus ri luchd-àiteachaidh Ieruſaleim, Nach gabh ſibh ri teagaſg, a thoirt éiſdeachd do m' bhriathraibh-ſa? deir an Tighearn.

14 Tha briathran Ionadaib mhic Rechaib, a dh' àithn e d' a mhacaibh, gun fhìon òl, air an coimhlionadh; oir gus an là an diugh cha 'n òl iad *fion ſam bith*, ach tha iad ùmhal do àithne an athar: gidheadh labhair miſe ruibhſe, ag éirigh gu moch agus a' labhairt, ach cha d' éiſd ſibh rium.

15 Chuir mi d' ur n-ionnſuidh mar an ceudna m' uile ſheirbhiſich na fàidhean, ag éirigh gu moch agus 'g an cur a mach, ag ràdh, Pillibh a nis, gach aon o 'dhroch ſhlighe, agus leaſuichibh 'ur deanadas, agus na rachaibh air lorg dhée eile gu ſeirbhis a thoirt doibh, agus gabhaibh còmhnuidh anns an fhearann a thug miſe dhuibh, agus d' ur n-aithrichibh: ach cha d' aom ſibh 'ur cluas, ni mò thug ſibh éiſdeachd dhomh.

16 A chionn gu'n do choimhlion mic Ionadaib, mhic Rechaib àithne an athar, a dh' àithn e dhoibh, ach nach d' éiſd an ſluagh ſo riumſa:

17 Air an aobhar ſin, mar ſo deir Iehobhah Dia nan ſluagh, Dia Iſraeil;

Feuch,

Feuch, bheir mis' air Iudah, agus air
uile luchd-àiteachaidh Ieruſaleim, an
t-olc ſin uile a labhair mi nan aghaidh:
a chionn gu 'n do labhair mi riu, ach
nach d' éiſd iad; agus gu 'n do ghlaodh
mi riu, ach nach do fhreagair iad.
18 Agus ri teaghlach nan Rechab-
ach thubhairt Ieremiah; Mar ſo deir
Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil, A
chionn gu'n d'thug ſibhſe géill do àithne
Ionadaib 'ur n-athar, agus gu 'n do
choimhid ſibh 'uile iarrtais, agus gu
'n d'rinn ſibh a réir gach ni a dh' àithn
e dhuibh:
19 Uime ſin mar ſo deir an Tigh-
earn nan ſluagh, Dia Iſraeil, Cha bhi
Ionadab mac Rechaib gun duine aige
gu ſeaſamh ann am làthair-ſa gu
bràth.

CAIB. XXXVI.

AGUS tharladh ann an ceathramh
bliadhna Iehoiacim mhic Ioſiah
righ Iudah, gu 'n d' thàinig am focal ſo
gu Ieremiah o'n Tighearn, ag ràdh,
2 Gabh dhuit clàr-ſgrìobhaidh, a-
gus ſgrìobh ann na h-uile bhriathran
a labhair miſe riut an aghaidh Iſraeil,
agus an aghaidh Iudah, agus an agh-
aidh nan uile chinneach, o'n là ſan do
labhair mi riut ann an laithibh Ioſiah,
eadhon gus an là an diugh.
3 Theagamh gu 'n tabhair tigh Iu-
dah fainear an t-olc ſin uile a th' ann
am aire-ſa dheanamh orra; air chor
as gu'm pill iad, gach aon o 'dhroch
ſhlighe, agus gu maith miſe an ain-
gidheachd agus am peacadh.
4 An ſin ghairm Ieremiah Baruch
mac Neriah, agus ſgrìobh Baruch o
bheul Ieremiah uile bhriathran an
Tighearna, a labhair e ris, air clàr-
ſgrìobhaidh.
5 Agus dh'àithn Ieremiah do Bha-
ruch, ag ràdh, Tha miſe air mo
dhruideadh ſuas, cha 'n urradh mi dol
gu tigh an Tighearna:
6 Uime ſin, imich thuſa agus leugh
anns a' chlàr a ſgrìobh thu o m' bheul-
ſa, briathran an Tighearna, ann an
éiſdeachd an t-ſluaigh, ann an tigh an
Tighearna, air là an traiſg: agus fòs
leughaidh tu iad ann an éiſdeachd uile
Iudah a thig a mach as am bailtibh
7 Theagamh gu'n taiſbean iad [a] an
achuinge ann an làthair an Tighearna,
agus gu'm pill iad, gach aon o 'dhroch
ſhlighe; oir is mòr an fhearg, agus a'
chorruich a labhair an Tighearn an
aghaidh an t-ſluaigh ſo.
8 Agus rinn Baruch mac Neriah
do réir gach ni a dh'àithn Ieremiah
am fàidh dha, a' leughadh anns an
leabhar bhriathran an Tighearna ann
an tigh an Tighearna.
9 Agus tharladh ann an cùigeamh
bliadhna Iehoiacim mhic Ioſiah righ Iu-
dah, anns an naothamh mìos, gu 'n d'
éigh iad traſg ann an làthair an Tigh-
earna, an ſluagh uile a bha ann an Ie-
ruſalem, agus an ſluagh uile a thàinig
o bhailtibh Iudah gu Ieruſalem.
10 An ſin leugh Baruch anns an
leabhar briathran Ieremiah ann an tigh
an Tighearna, ann an ſeòmar Ghe-
mariah mhic Shaphain an ſgrìobh-
uiche, anns a' chùirt uachdraich, aig
dol a ſteach geataidh nuaidh tighe an
Tighearna, ann an éiſdeachd [b] an
t-ſluaigh uile.
11 Agus chuala Michaiah mac
Ghemariah, mhic Shaphain, uile bhria-
thran an Tighearna as an leabhar,
12 Agus chaidh e sìos gu tigh an
righ, gu ſeòmar an ſgrìobhuiche; a-
gus feuch, bha na h-uachdarain uile
nan ſuidhe an ſin, Eliſama an ſgrìobh-
uiche, agus Delaiah mac Shemaiah,
agus Elnatan mac Achboir, agus Ge-
mariah mac Shaphain, agus Sedeciah
mac Hananiah, agus na h-uaiſlean
uile.
13 An ſin chuir Michaiah an céill
doibh na h-uile bhriathran a chual' e,
'nuair a leugh Baruch an leabhar ann
an éiſdeachd an t-ſluaigh.
14 Agus chuir na h-uachdarain uile
Iehudi mac Netaniah, mhic Shelemiah,
mhic Chuſi, gu Baruch, ag ràdh, Glac
ann ad làimh an clàr ſan do leugh thu
ann an éiſdeachd an t-ſluaigh, agus
thig. Agus ghabh Baruch mac Neriah,
an clàr na làimh, agus thàinig e do 'n
ionnſuidh.
15 Agus thuirt iad ris, Suidh sìos
a nis, agus leugh e 'nar n-éiſdeachd.
Agus leugh Baruch nan éiſdeachd.
16 A nis tharladh, an uair a chuala
iad na h-uile bhriathran, gu 'n d' amh-
airc iad le h-eagal, gach aon air a'
chéile;

[a] *cuir iad ſuas.* [b] *cluaſaibh.* Eabh.

chèile; agus thubhairt iad ri Baruch,
Innsidh sinn gu deimhin do'n righ na
briathran so air fad.
17 Agus dh' fheòruich iad do Bha-
ruch, ag ràdh, Innis duinn a nis cion-
nus a sgrìobh thu na briathran so
uile o 'bheul?
18 Agus fhreagair Baruch iad,
Labhair e rium le 'bheul na briathran
so uile, agus sgrìobh mi iad le dubh
ann an leabhar.
19 An sin thuirt na h-uachdarain ri
Baruch, Falbh, agus folaich thu féin,
thusa agus Ieremiah, agus na biodh
fios aig aon neach c'àit am bi sibh.
20 Agus chaidh iad a steach a chum
an righ do 'n chùirt, ach thaisg iad
suas an clàr ann an seòmar Elisamah
an sgrìobhuiche; agus dh' innis iad
na h-uile bhriathran ann an éisdeachd
an righ.
21 An sin chuir an righ Iehudi a
thoirt a' chlàr d'a ionnsuidh, agus thug
e a seòmar Elisamah an sgrìobhuich'
e, agus leugh Iehudi e ann an éisd-
eachd an righ, agus ann an éisdeachd
nan uile uachdaran a sheas ri taobh an
righ.
22 Agus bha 'n righ na shuidhe
anns an tigh gheamhraidh, anns an
naothamh mìos, agus bha teintein mu
'chomhair le éibhlibh teine.
23 Agus tharladh an uair a leugh
Iehudi tri no ceithir earrannan, gu'n
do ghearr e leis an sceinphinn e, agus
thilg e anns an tein a bha air an tein-
tein e, gus an robh an clàr gu h-iom-
lan air a chaitheamh anns an tein a
bha air an teintein.
24 Ach cha do ghabh iad eagal, ni
mò shrachd iad an trusgain, aon chuid
an righ, no aon d'a sheirbhisich a chuala
na briathran so uile.
25 Agus ge do rinn Elnatan, agus
Delaiah, agus Gemariah eadar-ghuidhe
ris an righ, nach loisgeadh e an clàr,
gidheadh cha n' éisdeadh e riu.
26 Agus dh'àithn an righ do Ie-
rahmeel mac Hameleich, agus do She-
raiah mac Asrieil, agus do Shelemiah
mac Abdeeil, Baruch an sgrìobhuiche
agus Ieremiah am fàidh a ghlacadh:
ach dh' fholaich an Tighearn iad.
27 An sin thàinig focal an Tigh-
earna gu Ieremiah, (an déigh do 'n
righ an clàr agus na briathran a sgrìobh
Baruch o bheul Ieremiah a losgadh),
ag ràdh,
28 Gabh chugad a rìs clàr eile, a-
gus sgrìobh ann na h-uile bhriathran
ceudna bha 'sa cheud chlàr, a loisg Ie-
hoiacim righ Iudah.
29 Agus their thu ri Iehoiacim
righ Iudah, Mar so deir an Tighearn,
Loisg thu 'n clàr so, ag ràdh, C'uim'
an do sgrìobh thu ann, ag ràdh, Thig
righ Bhabiloin gu deimhin, agus sgrios-
aidh e 'm fearann so, agus gearraidh
e gach duine agus gach beathach a
mach as?
30 Air an aobhar sin, mar so deir
an Tighearn do thaobh Iehoiacim righ
Iudah, Cha bhi aige neach a shuidheas
air righ-chaithir Dhaibhidh, agus tilg-
ear a chairbhean [a] a mach a chum an
teas anns an latha, 's a chum an reo-
thaidh anns an oidhche.
31 Agus ni mise peanas air féin a-
gus air a shliochd, agus air a sheir-
bhisich, air son an easaontais, agus
bheir mi orra-san, agus air luchd-
àiteachaidh Ierusaleim, agus air fear-
aibh Iudah, an t-olc sin uile a labhair
mi nan aghaidh, ach nach d' éisd iad.
32 An sin ghabh Ieremiah clàr eile,
agus thug e do Bharuch an sgrìobh-
uich' e, mac Neriah, a sgrìobh ann o
bheul Ieremiah, uile bhriathran an
leabhair a loisg Iehoiacim righ Iudah
anns an teine; agus chuireadh os barr
riu mòran do bhriathra eile cosmhuil
riu sin.

CAIB. XXXVII.

AGUS rioghaich Sedeciah mac Io-
siah ann an àite Choniah mhic
Iehoiacim, a rinn Nebuchadnesar righ
Bhabiloin na righ ann am fearann Iu-
dah.
2 Ach cha d' éisd, aon chuid e féin
no a sheirbhisich, no sluagh na tìre,
ri briathraibh an Tighearna, a labhair
e leis an fhàidh Ieremiah.
3 Agus chuir an righ Sedeciah Ie-
hucal mac Shelemiah, agus Sephaniah
mac Mhaaseiah an sagart, a chum an
fhàidh Ieremiah, ag ràdh, Dean ur-
nuigh,

[a] *chlosach*.

naigh a nis, guidheam ort, ris an
Tighearn ar Dia air ar son-ne.

4 A nis bha Ieremiah teachd a
steach agus a' dol a mach am measg
an t-sluaigh, oir cha do chuir iad fa-
tha'd ann am prìosun e

5 Anns an àm sin bha feachd Pha-
raoih air teachd a mach as an Eiphit;
agus an uair a chuala na Caldéich,
a bha a' teannachadh Ierusaleim mu'n
cuairt, iomradh orra, dh' imich iad o
Ierusalem.

6 An sin thàinig focal an Tighearna
chum an fhàidh Ieremiah, ag ràdh.

7 Mar so deir an Tighearn, Dia Is-
raeil. Mar so their sibh ri righ Iudah
a chuir chugam-sasibh, do m' iarruidh;
Feuch, pillidh feachd Pharaoih, a thài-
nig a mach 'gur coghnadh, do 'n Ei-
phit, d'an tìr féin.

8 Agus thig na Caldéich a rìs, a-
gus cogaidh iad an aghaidh na cath-
rach so, agus glacaidh iad i, agus loisg-
idh iad i le teine.

9 Mar so deir an Tighearn, Na
mealIaibh sibh féin, ag ràdh, Gu deimh-
in imichidh na Caldéich uainn: oir
cha 'n imich iad.

10 Oir ge do bhuaileadh sibh uile
fheachd nan Caldéach a ta cogadh
'nur n-aghaidh, agus nach maireadh
nam measg ach daoine leònta, gach
aon na bhùth, dh' éireadh iad sin féin
suas, agus loisgeadh iad a' chathair so
le teine.

11 Agus tharladh an uair a dh' im-
ich sluagh nan Caldéach air falbh
o Ierusalem, air eagal sluaigh Pha-
raoih,

12 Gu 'n d' imich an sin Ieremiah a
mach a Ierusalem, a chum dol gu fear-
ann Bheniamin, a dh' fhaotainn cuibh-
rinn deth am measg an t-sluaigh.

13 Agus an uair a bha e 'n geata
Bheniamin, bha ceannard an fhreic-
eadain an sin, d' am b'ainm Iriah, mac
Shelemiah, mhic Hananiah; agus
ghlac e Ieremiah am fàidh, ag ràdh,
Tha thu dol thairis a chum nan Cal-
déach.

14 An sin thuirt Ieremiah, Cha 'n
fhìor sin, Cha 'n 'eil mi dol thairis a
chum nan Caldéach: ach cha d' éisd
e ris: mar sin ghlac Iriah Ieremiah,
agus thug e chum nan uachdaran e.

15 Agus bha corruich air na
h-uachdaranaibh ri Ieremiah, agus
bhuail iad e, agus chuir iad ann am
prìosun e, ann an tigh Ionatain an
sgrìobhuiche; oir rinn iad prìosun
deth sin.

16 An uair a chaidh Ieremiah steach
do'n phrìosun ìochdrach, agus do na
slochdaibh, agus a bhuanaich Ieremiah
an sin mòran laithean:

17 An sin chuir Sedeciah an righ
fios, agus thug e mach e; agus dh'
fheòruich an righ dheth gu h-uaig-
neach na thigh, agus thubhairt e, Am
bheil focal sam bith o 'n Tighearn?
Agus thuirt Ieremiah, Tha: oir thu-
bhairt e, Do làimh righ Bhabiloin
bheirear thairis thu.

18 Os barr thuirt Ieremiah ri righ
Sedeciah, Ciod an cron a rinn mise
ann ad aghaidh-sa, no 'n aghaidh do
sheirbhiseach, no 'n aghaidh an t-sluaigh
so, gu 'n do chuir sibh mi ann am
prìosun?

19 C'àit am bheil a nis 'ur fàidh-
ean a rinn fàisneachd dhuibh, ag ràdh,
Cha dthig righ Bhabiloin 'n 'ur n-a-
ghaidh, no 'n aghaidh an fhearainn
so?

20 Ach éisd a nis, guidheam ort,
a thigearn, mo righ; gabhar m' a-
chuinge, guidheam ort, ann ad làthair;
agus na dthoir orm pilleadh gu tigh Io-
natain an sgrìobhuiche, air eagal gu
'm faigh mi bàs an sin.

21 Agus dh'àithn an righ Sedeciah
gu 'n cuireadh iad Ieremiah ann an
cùirt a' phrìosuin, agus gu 'n dthugadh
iad dha gach latha cuibhrionn arain a
sràid nam fuineadairean, gus am biodh
uile aran na cathrach air teireachduinn.
Agus dh'fhan Ieremiah ann an cùirt
a' phrìosuin.

C A I B. XXXVIII.

AN sin chuala Sephatiah mac
Mhatain, agus Gedaliah mac
Phasuir, agus Iucal mac Shelemiah,
agus Pasur mac Mhalchiah, na bria-
thran a labhair Ieremiah ris an t-sluagh
uile, ag ràdh,

2 Mar so deir an Tighearn, Esan
a dh'fhanas anns a' chathair so bàs-
aichidh e leis a' chlaidheamh, leis a'
ghort, agus leis a' phlàigh; ach esan

a théid a mach a chum nan Caldéach,
mairidh e beo; oir gheibh e 'anam
mar chobhartach, agus mairidh e
beo.
3 Mar ſo deir an Tighearn, Bheir-
ear gu deimhin a' chathair ſo ſuas do
làimh feachda righ Bhabiloin, a ghlac-
as i.
4 Air an aobhar ſin, thuirt na
h-uachdarain ris an righ, Biodh an
duine ſo, guidheamaid ort, air a chur
gu bàs: oir mar ſo tha e lagachadh
làmhan an luchd-cogaidh a ta fathaſd
a làthair anns a' chathair-ſo, agus
làmhan an t-ſluaigh uile, le bhi la-
bhairt a' leithide ſo do bhriathran riu:
oir cha 'n'eil an duine ſo 'g iarruidh
leas an t-ſluaigh ſo, ach an aimhleis.
5 An ſin thuirt an righ Sedeciah,
Feuch, tha e 'n 'ur làimh: oir cha 'n
e 'n righ *eſan* a dh' fheudas aon ni a
chur 'nur n-aghaidh.
6 An ſin ghlac iad Ieremiah, agus
thilg iad e ann an ſlochd Mhalchiah
mhic Hameleich, a bha ann an cùirt
a' phrìoſuin; agus leig iad ſios Iere-
miah le cordaibh. Agus anns an
t-ſlochd cha robh uiſge ſam bith, ach
clàbar: agus chaidh Ieremiah ſuidhe
anns a' chlàbar.
7 A nis an uair a chuala Ebed-me-
lech an t-Etiopach, aon do na caill-
teanaich a bha 'n tigh an righ, gu 'n do
chuir iad Ieremiah ſan t-ſlochd, (agus
an righ na ſhuidhe ſan àm ſin ann an
geata Bheniamin,)
8 Chaidh Ebed-melech a mach a
tigh an righ, agus labhair e ris an righ,
ag ràdh,
9 Mo thighearn a righ, rinn na
daoine ſo gu h-olc anns gach ni a rinn
iad ri Ieremiah am fàidh, a thilg iad
anns an t-ſlochd; oir gheibh e bàs le
h-acras anns an àite ſin, a chionn nach
'eil ni 's mò aran anns a' bhaile.
10 An ſin dh' àithn an righ do E-
bed-melech, an t-Etiopach, ag ràdh,
Thoir leat as ſo deich ſir fhichead, a-
gus thoir a nìos Ieremiah am fàidh as
an t-ſlochd, mu 'm faigh e bàs.
11 Agus thug Ebed-melech leis na
daoine, agus chaidh e ſteach do thigh
an righ fo 'n tigh-thaſgaidh, agus thug
e as ſin ſeana bhroineagan, agus ſeann
luideagan, agus leig e sìos iad gu Ie-
remiah do 'n t-ſlochd le cordaibh.
12 Agus thuirt Ebed-melech an
t-Etiopach ri Ieremiah, Cuir a nis na
ſeann luideagan, agus na broineagan
ſo, fo d' aſgailtean mu na cordaibh.
Agus rinn Ieremiah mar ſin.
13 Agus tharruing iad a nìos Iere-
miah le cordaibh, agus thug iad a
mach as an t-ſlochd e; agus dh'fhan
Ieremiah ann an cùirt a' phrioſuin.
14 An ſin chuir an righ Sedeciah
ſios, agus thug e Ieremiah am fàidh
d'a ionnſuidh gus an treas dol-a-ſteach
a ta 'n tigh an Tighearna. Agus
thuirt an righ ri Ieremiah, Feòruichidh
mi ni àraidh dhiot; na ceil a' bheag
orm.
15 Agus thuirt Ieremiah ri Sede-
ciah, Ma dh'innſeas mi dhuit, nach
dean thu gu cinnteach mo chur gu
bàs? agus ma bheir mi comhairle ort,
an éiſd thu rium?
16 An ſin mhionnaich an righ Se-
deciah do Ieremiah os ioſal, ag ràdh,
Mar as beo an Tighearn a rinn dhuinn
an t-anam ſo, cha chuir mi gu bàs thu,
ni mò bheir mi thairis thu do làimh
na muinntir ſin a ta 'g iarruidh d' ana-
ma.
17 Agus thuirt Ieremiah ri Sede-
ciah, Mar ſo deir Iehobhah, Dia nan
ſluagh, Dia Iſraeil, Ma théid thu gu
deimhin thairis gu cinn-fheadhna righ
Bhabiloin, an ſin mairidh t-anam beo,
agus cha loiſgear a' chathair ſo le
teine; ach mairidh tu beo, thu féin
agus do theaghlach.
18 Ach mur dthéid thu mach gu
cinn-fheadhna righ Bhabiloin, an ſin
bheirear a' chathair ſo do làimh nan
Caldéach, agus loiſgidh iad i le teine,
agus cha dthéid thuſa féin as o 'n
làmhan.
19 Agus thuirt an righ Sedeciah ri
Ieremiah, Tha eagal nan Iudhach orm,
a theich a chum nan Caldéach, gu 'n
dthoir iad thairis mi do 'n làmhan, a-
gus gu 'n dean iad fanaid orm.
20 Ach thuirt Ieremiah, Cha dthoir
iad thairis *thu*; thoir géill, guidheam
ort, do ghuth an Tighearna, ſan ni
ta mis' a labhairt riut: mar ſin éiridh
gu maith dhuit, agus mairidh t-anam
beo.
21 Ach ma dhiùltas tu dol a mach,
ſo an ni a thaiſbein an Tighearn
dhomhſa:

22 Eadhon,

22 Eadhon, ſeuch, na h-uile mhnathan a ta air am fàgail ann an tigh righ Iudah, bheirear a mach gu cinnfheadhna righ Bhabiloin, agus their iad, Bhroſnuich do chairdean thu, agus thug iad buaidh ort: chuir iad do chaſan an ſàs anns an làthaich, agus phill iad air an ais.

23 Agus bheir iad a mach d' uile mhnathan, agus do chlann a chum nan Caldéach, agus cha dthéid thu féin as o'n làmhan, ach glacar thu le làimh righ Bhabiloin, agus bidh tu coireach anns a' bhaile ſo bhi air a loſgadh le teine.

24 An ſin thuirt Sedeciah ri Ieremiah, Na biodh fios aig duine ſam bith air na briathraibh ſo, agus cha 'n fhaigh thu bàs.

25 Ach ma chluinneas na h-uachdarain gu 'n do labhair miſe riut, agus gu 'n dthig iad do d' ionnſuidh, agus gu 'n abair iad riut, Innis duinn a nis ciod a thuirt thu ris an righ, na ceil e oirnne, agus cha chuir ſinn gu bàs thu; mar an ceudna ciod a thuirt an righ riutſa:

26 An ſin their thu riu, Thaiſbein mi m' achuinge ann an làthair an righ, nach dthugadh e orm pilleadh gu tigh Ionatain, a dh' fhaotuinn bàis an ſin.

27 Agus thàinig na h-uachdarain uile gu Ieremiah, agus dh'fhioſruich iad dheth, agus dh' innis e dhoibh do réir nan uile bhriathran ſo a dh' àithn an righ dha: mar ſin ſguir iad do labhairt ris, oir cha do mhothaicheadh a' chùis.

28 Mar ſin dh' fhan Ieremiah ann an cùirt a' phrìoſuin, gus an là ſan do ghlacadh Ieruſalem; agus bha e *'n ſin* an uair a ghlacadh Ieruſalem.

C A I B. XXXIX.

ANN an naothamh bliadhna Shedeciah righ Iudah, anns an deicheamh mìos, thàinig Nebuchadneſar righ Bhabiloin, agus 'uile fheachd an aghaidh Ieruſaleim, agus champaich iad m' a timchioll.[a]

2 Ann an aon bhliadhna deug Shedeciah, anns a' cheathramh mìos, air an naothamh là do 'n mhìos, bha a' chathair air a briſeadh ſuas.

3 Agus thàinig uile chinn-fheadhna righ Bhabiloin a ſteach, agus ſhuidh iad anns a' gheata ſa' mheadhon; Nergal-ſareſer, Samgar-nebo, Sarſechim, Rabſaris, Nergal-ſareſer, Rabmag, leis a' chuid eile air fad do cheann-a-feadhna righ Bhabiloin.

4 Agus tharladh, an tra chunnaic Sedeciah righ Iudah iad, agus na fir-chogaidh uile, gu 'n do theich iad, agus gu 'n deachaidh iad a mach as a' chathair anns an oidhche, air ſlighe gàraidh an righ, trìd a' gheataidh, eadar an dà bhalla; agus chaidh iad a mach air ſlighe a' chòmhnaird.

5 Ach lean feachd nan Caldéach air an tòir, agus rug iad air Sedeciah ann an còmhnardaibh Iericho; agus ghlac iad e, agus thug iad e gu Nebuchadneſar righ Bhabiloin, aig Riblah, ann am fearann Hamait, far an d' thug e breth air.

6 An ſin mharbh righ Bhabiloin mic Shedeciah, ann an Riblah, fa chomhair a ſhùl: uile mhaithean Iudah mar an ceudna mharbh righ Bhabiloin.

7 Agus chuir e mach ſùilean Shedeciah, agus cheangail e le ſlabhruidhean e, a chum a thoirt gu Babilon.

8 Agus loiſg na Caldéich tigh an righ, agus tighean an t-ſluaigh le teine, agus bhris iad sìos ballachan Ieruſaleim.

9 An ſin thug Nebuſar-adan ceannard an fhreiceadain leis nam braighdean gu Babilon am fuighleach ſluaigh a dh'fhan anns a' chathair, agus iadſan a theich thairis d' a ionnſuidh, leis a' chuid eile do 'n t-ſluagh a dh'fhan *beo.*

10 Ach cuid do bhochdaibh an t-ſluaigh, aig nach robh ni ſam bith, dh' fhàg Nebuſar-adan ceannard an fhreiceadain ann am fearann Iudah, agus thug e dhoibh fion-lioſan agus machraichean anns an àm ſin.

11 Agus thug Nebuchadneſar righ Bhabiloin àithne mu thimchioll Ieremiah do Nebuſar-adan ceannard an fhreiceadain, ag ràdh,

12 Thoir leat e, agus thoir aire mhaith dha, agus na dean cron ſam bith air, ach dean ris amhuil mar a their e riut.

[a] *theannaich ſe i.*

13 Mar sin chuir Nebusar-adan ceannard an fhreiceadain fios, agus Nebusasban, Rabsaris, agus Nergal-sareser, Rabmag, agus uile chinn-feadhna righ Bhabiloin:

14 Chuir eadhon iadsan fios, agus thug iad Ieremiah mach a cùirt a' phriosuin, agus thug iad e do Ghedaliah mac Ahicaim, mhic Shaphain, gu 'thoirt dhachaidh: mar sin ghabh e còmhnuidh ann am measg an t-sluaigh.

15 Agus thàinig focal an Tighearna chum Ieremiah, 'nuair a bha e *fathasd* air a dhruideadh suas ann an cùirt a' phriosuin, ag ràdh,

16 Imich agus labhair ri Ebed-melech an t-Etiopach, ag ràdh, Mar so deir Tighearn nan sluagh, Dia Israeil, Feuch, bheir mise mo bhriathran air a' chathair so air son uilc, agus cha 'n ann air son maith; agus thig iad gu crìch ann ad fhianuis-sa anns an là sin.

17 Ach tearnaidh mi thusa san là sin, deir an Tighearn, agus cha dthoirear thairis thu do làimh na muinntir roimh am bheil eagal ort.

18 Oir tearnaidh mi thu, agus cha tuit thu leis a' chlaidheamh, ach bidh t'ànam mar chobhartach agad, a chionn gu 'n do chuir thu do dhòchas annam-sa, deir an Tighearn.

CAIB. XL.

AM focal a thàinig a chum Ieremiah o'n Tighearn, an déigh do Nebusar-adan ceannard an fhreiceadain a leigeadh as o Ramah, an uair a thugadh e d'a ionnsuidh, agus e ceangailte le slabhruidhean am measg na muinntir sin uile a thugadh air falbh nam braighdean o Ierusalem agus o Iudah, a thugadh ann am braighdeanas gu Babilon.

2 Agus ghabh ceannard an fhreiceadain Ieremiah, agus thuirt e ris, Labhair an Tighearn do Dhia-sa an t-olc so an aghaidh an àite so.

3 A nis thug an Tighearn gu crìch e, agus rinn e mar a labhair e: a chionn gu 'n do pheacaich sibh an aghaidh an Tighearna, agus nach d' thug sibh géill d'a ghuth, air an aobhar sin tha n t-olc so air teachd oirbh.

4 Agus a nis feuch, tha mise 'g ad fhuasgladh an diugh o na slabhruidhean a bha air do làmhan: ma chi thu ceart teachd leamsa gu Babilon, thig; agus bheir mi aire mhaith dhuit: ach mur faic thu ceart teachd leamsa gu Babilon, fan: feuch, tha am fearann gu h-iomlan fa d' chomhair; far am faicear ceart agus iomchuidh dhuit dol, theirig[a] ann; agus ciod air bith tuille cha chumar air ais e.

5 Falbh uime sin air d'ais gu Gedaliah mac Ahicaim, mhic Shaphain, a rinn righ Bhabiloin na uachdaran os cionn bhailtean Iudah, agus gabh còmhnuidh leis, am measg an t-sluaigh: no falbh c'àit air bith am faic thu iomchuidh dol. Mar sin thug ceannard an fhreiceadain biadh agus duais da, agus leig e dha imeachd.

6 An sin chaidh Ieremiah gu Gedaliah mac Ahicaim, gu Mispah, agus ghabh e còmhnuidh leis, am measg an t-sluaigh a dh'fhàgadh, anns an fhearann.

7 A nis an uair a chuala uile cheannardan an fheachd a bha 's na machraichibh, iad féin agus an daoine, gu 'n d' rinn righ Bhabiloin Gedaliah mac Ahicaim na uachdaran anns an fhearann, agus gu 'n d' earb e ris fir, agus mnathan, agus clann, eadhon cuid do bhochdaibh an fhearainn, dhiubhsan nach d' thugadh air falbh ann am bruid gu Babilon;

8 An sin thàinig iad gu Gedaliah gu Mispah, eadhon Ismael mac Netaniah, agus Iohanan, agus Ionatan, mic Chareah, agus Seraiah mac Thanhumeit, agus mic Ephai an Netophach, agus Iesaniah mac Maachataich, iad féin agus an daoine.

9 Agus mhionnaich Gedaliah mac Ahicaim mhic Shaphain dhoibhsan, agus do 'n daoine, ag ràdh, Na biodh eagal oirbh géill a thoirt do na Caldéich; gabhaibh còmhnuidh anns an tìr, agus thugaibh géill do righ Bhabiloin, agus éiridh gu maith dhuibh.

10 Air mo shon-sa, feuch, ni mi còmhnuidh ann am Mispah, a fhritheala dh do na Caldéich a thig d'ar n-ionnsuidh; ach sibhse, tionailibh fion,

[a] *rach.*

fion, agus meas famhraidh, agus oladh, agus cuiribh iad 'n 'ur foithichibh, agus deanaibh còmhnuidh 'n 'ur bailtibh air an d' rinn fibh greim.

11 Air an dòigh cheudna 'nuair a chuala na h-uile Iudhaich a bha ann am Moab, agus am meafg nan Amonach, agus ann an Edom, agus a bha anns na h-uile dhùchannaibh, gu 'n d'fhàg righ Bhabiloin fuigheall do Iudah, agus gu 'n do chuir e os an cionn Gedaliah mac Ahicaim, mhic Shaphain;

12 An fin phill na h-uile Iudhaich as na h-uile àite gus an robh iad air am fògradh, agus thàinig iad gu tìr Iudah, gu Gedaliah, do Mhifpah, agus thionail iad fion, agus meas famhraidh, gu ro-phailt.

13 Agus thàinig Iohanan mac Chareah, agus uile Cheannardan an fheachd a bha 'fna machraichibh, gu Gedaliah do Mhifpah;

14 Agus thuirt iad ris, Am bheil fios agad gu cinnteach gu 'n do chuir Baalis righ nan Amonach Ifmael mac Netaniah chum do mharbhadh? Ach, cha do chreid Gedaliah mac Ahicaim iad.

15 An fin labhair Iohanan mac Chareah ri Gedaliah ann am Mifpah gu h-uaigneach, ag ràdh, Leig dhomhfa dol, guidheam ort, agus marbhaidh mi Ifmael mac Netaniah, agus cha bhi fios aig duine fam bith *air*: c' uim' am marbhadh e thufa, agus gu 'm biodh na h-uile Iudhaich a ta air an cruinneachadh do d' ionnfuidh air an fgapadh, agus gu 'm bàfaicheadh na tha mairionn do Iudah?

16 Ach thuirt Gedaliah mac Ahicaim ri Iohanan mac Chareah, Cha dean thu an ni fo, oir is breug a tha thu labhairt do thaobh Ifmaeil.

C A I B. XLI.

A NIS tharladh air an t-feachdamh mìos, gu 'n d' thàinig Ifmael mac Netaniah, mhic Elifama, do 'n t-fìol rìoghail, agus maithean an righ, eadhon deich fir, maille ris, gu Gedaliah mac Ahicaim do Mhifpah, agus an fin dh'ith iad aran le chéile ann am Mifpah.

2 An fin dh' éirich Ifmael mac Netaniah, agus na deich fir a bha maille ris, agus bhuail iad Gedaliah mac Ahicaim, mhic Shaphain, leis a' chlaidheamh, agus mharbh iad e, efan a chuir righ Bhabiloin na uachdaran os cionn an fhearainn.

3 Mharbh Ifmael mar an ceudna na h-Iudhaich uile bha maille ris, maille ri Gedaliah ann am Mifpah, agus na Caldéich a fhuaireadh an fin, na fir-chogaidh.

4 Agus tharladh air an dara là, an déigh dha Gedaliah a mharbhadh, agus gun fhios aig duine fam bith *air*;

5 Gu 'n d' thàinig daoine àraidh o Shechem, o Shiloh, agus o Shamaria, ceithir fichead fear, aig an robh am feufagan air am bearradh, an eudaichean air an frachdadh, agus iad féin gearrta, le tabhartafaibh agus tùis nan làimh, gu 'n toirt gu tigh an Tighearna.

6 Agus chaidh Ifmael mac Netaniah mach o Mhifpah nan còdhail, a' gul fad na flighe[a]: agus tharladh an uair a choinnich e iad, gu'n d'thubhairt e riu, Thigibh gu Gedaliah mac Ahicaim.

7 Agus tharladh an uair a thàinig iad gu meadhon a' bhaile, gu 'n do mharbh Ifmael mac Netaniah iad, *agus thilg e iad* ann am meadhon an t-fluichd, e féin agus na daoine bha leis.

8 Ach fhuaireadh nam meafg deichnear fhear a thubhairt ri Ifmael, Na marbh finne: oir tha ionmhafan againn fa' mhachair, do chruineachd, agus do eorna, agus do oladh, agus do mhil. Mar fin fguir e, agus cha do mharbh e iad am meafg am bràithrean.

9 A nis b'e 'n flochd anns an do thilg Ifmael uile chorpa marbha nan daoine a mharbh e air fon Ghedaliah, *an flochd* fin a rinn Afa an righ air eagal Bhaafa righ Ifraeil; lìon Ifmael mac Netaniah e leo-fan a mharbhadh.

10 An fin thug Ifmael leis ann am bruid na h-uile bha làthair do 'n t-fluagh a bh' ann am Mifpah, *eadhon* nigheana an righ, agus an fluagh uile a dh'fhan ann am Mifpah, a thug Nebufar-adan

[a] *ag imeachd agus a' gul.* Eabh.

Nebuſar-adan ceannard an fhreicea-
dain do Ghedaliah mac Ahicaim; thug
eadhon Iſmael mac Netaniah leis ann
am bruid iad, agus dh'imich e gu dol
thairis a chum nan Amonach.

11 Ach an uair a chuala Iohanan
mac Chareah, agus uile cheannardan an
fheachd, a bha maille ris, an t-olc *ud*
a rinn Iſmael mac Netaniah,

12 An ſin thug iad leo na daoine
air fad, agus chaidh iad a chogadh ri
Iſmael mac Netaniah, agus fhuair iad
e aig na h-uiſgeachaibh mòra a ta an
Gibeon.

13 A nis tharladh an uair a chunn-
aic an ſluagh ſin uile bha le Iſmael Io-
hanan mac Chareah, agus uile cheann-
ardan an fheachd a bha maille ris, gu
'n robh iad an ſin aoibhneach.

14 Agus thionndaidh an ſluagh uile,
a thug Iſmael air falbh ann am bruid
o Mhiſpah, mu 'n cuairt, agus phill
iad, agus chaidh iad gu Iohanan mac
Chareah.

15 Ach chaidh Iſmael mac Neta-
niah as o Iohanan le ochdnar fhear,
agus chaidh e chum nan Amonach.

16 An ſin ghabh Iohanan mac Cha-
reah, agus uile cheannardan an fheachd
a bha leis, uile iarmad an t-ſluaigh a
bhuin e o Iſmael mac Netaniah, o
Mhiſpah, (an déigh dha Gedaliah mac
Ahicaim a mharbhadh,) gaiſgich, fir-
chogaidh, agus mnathan, agus clann,
agus caillteanaich, a thug e air an ais
o Ghibeon:

17 Agus dh'imich iad, agus ghabh
iad còmhnuidh ann an aitreabh Chim-
haim, a ta làimh ri Betlehem, a chum
falbh gu dol a ſteach do 'n Eiphit, a
ſianuis nan Caldéach:

18 Oir bha eagal orra rompa, a
chionn gu 'n do mharbh Iſmael mac Ne-
taniah Gedaliah mac Ahicaim, a rinn
righ Bhabiloin na uachdaran anns an
fhearann.

CAIB. XLII.

AN ſin thàinig am fagus uile
cheannardan an fheachd, agus
Iohanan mac Chareah, agus Ieſaniah
mac Hoſaiah, agus an ſluagh gu
h-iomlan, o'n bheag gus a' mhòr;

2 Agus thubhairt iad ri Ieremiah
am fàidh, Biodh ar n-achuinge, guidh-
eamaid ort, taitneach ann ad làthair,
agus dean urnuigh air ar ſon ris an
Tighearn do Dhia, eadhon air ſon an
iarmaid ſo uile, (oir cha d' fhàgadh
dhinn ach beagan do mhòran, mar a
tha do ſhùilean 'gar faicinn,)

3 Gu ſeòladh an Tighearn do Dhia
dhuinn an t-ſlighe anns an gluais ſinn,
agus an ni a tha ſinn ri dheanamh.

4 Agus thuirt Ieremiah am fàidh
riu, Chuala mi; feuch, ni miſe ur-
nuigh ris an Tighearn bhur Dia do
réir 'ur briathran; agus tarlaidh, ge
b'e freagradh a bheir an Tighearn
dhuibh, gu 'n innis miſe dhuibh e:
cha chum mi ni ſam bith air ais
uaibh.

5 Agus thubhairt iad ri Ieremiah,
Biodh an Tighearn na fhianuis fhìor
agus dhìleas eadaruinn, mur dean
ſinne gach ni air ſon an cuir an Tigh-
earn do Dhia do 'r n-ionnſuidh thu.

6 Ma 's maith no ma 's olc *e*, bheir
ſinn géill do ghuth an Tighearna ar
Dia, gus am bheil ſinn 'gad chur; a
chum as gu 'n éirich gu maith dhuinn
an uair a bhios ſinn umhal do ghuth
an Tighearna ar Dia.

7 Agus tharladh an ceann dheich
laithean, gu 'n d'thàinig guth an Tigh-
earna do Ieremiah.

8 An ſin ghairm e Iohanan mac
Chareah, agus uile cheannardan an
fheachd a bha maille ris, agus an
ſluagh uile, o'n bheag gus a' mhòr,

9 Agus thuirt e riu, Mar ſo deir
an Tighearn Dia Iſraeil, gus an do
chuir ſibh miſe chum 'ur n-achuinge
a chur ſuas na làthair;

10 Ma dh'fhanas ſibh an còmh-
nuidh anns an tìr ſo, an ſin togaidh
miſe ſibh, agus cha tilg mi ſìos; agus
ſuidhichidh mi ſibh, agus cha ſpìon
mi nìos: oir is aithreach leam an t-olc
a rinn mi oirbh.

11 Na biodh eagal righ Bhabiloin
oirbh, as am bheil ſibh a' gabhail ea-
gail: na biodh eagal oirbh roimhe,
deir an Tighearn; oir tha miſe leibh
gu'r tearnadh, agus gu'r ſaoradh as a
làimh.

12 Agus nochdaidh mi tròcairean
duibh, agus gabhaidh eſan truas dibh,
agus ſuidhichidh e ſibh 'nur dùthaich
féin.

13 Ach ma their sibh, Cha ghabh
sinn còmhnuidh anns an fhearann so;
air chor as nach dthoir sibh géill do
ghuth an Tighearna bhur Dia,
14 Ag ràdh, Ni h-eadh; ach théid
sinn do thìr na h-Eiphit, far nach faic
sinn cogadh sam bith, ni mò chluinn-
eas sinn fuaim na trompaide, no bhios
easbhuidh arain oirnn; agus an sin
gabhaidh sinn còmhnuidh:
15 (Seadh a nis uime sin éisdibh
focal an Tighearna, O iarmaid Iudah,
Mar so deir Tighearn nan sluagh, Dia
Israeil, Ma chuireas sibh do rireadh
'ur n-aghaidh ri dol do'n Eiphit, agus
gu'n dthéid sibh an sin air chuairt;)
16 An sin tarlaidh gu'n dean an
claidheamh, roimh am bheil eagal
oirbh, 'ur glacadh an sin ann an tìr
na h-Eiphit; agus a' ghort, roimh am
bheil eagal oirbh, dlù-leanaidh air 'ur
tòir an sin anns an Eiphit; agus an
sin gheibh sibh bàs.
17 Is amhluidh a thachaireas do na
h-uile dhaoin' a chuireas an aghaidh
ri dol do'n Eiphit gu fantuinn air
chuairt an sin; bàsaichidh iad leis a'
chlaidheamh, leis a' ghort, agus leis
a' phlàigh: agus cha bhi aon a mhair-
èas, no théid as o'n olc a bheir mis'
orra.
18 Oir mar so deir Tighearn nan
sluagh, Dia Israeil, Mar a bha m'fhearg
agus mo chorruich air a dòrtadh a
mach air luchd-àiteachaidh Ierusaleim,
is amhluidh bhios mo chorruich air a
dòrtadh a mach oirbhse 'n tra théid
sibh a steach do'n Eiphit: agus bithidh
sibh 'n'ur mallachadh, agus 'n'ur
n-uamhas, agus 'n'ur mallachd, agus
'n'ur masladh; agus cha'n fhaic sibh
an t-àite so ni's mò.
19 Is e focal an Tighearna do'r
taobh-sa, O fhuigheall Iudah, Na rach-
aibh do'n Eiphit: biodh fios cinn-
teach agaibh gu'n d' thug mise rabh-
adh dhuibh an diugh.
20 Gu deimhin chuir sibh an gnìomh
cealg an aghaidh 'ur n-anama féin:
oir chuir sibh mise chum an Tighearna
bhur Dia, ag ràdh, Guidh air ar son ne
ris an Tighearn ar Dia, agus do réir
gach ni a their an Tighearn ar Dia,
mar sin innis duinn, agus ni sinne.
21 Agus dh' innis mise dhuibh air
an là an diugh, ach cha d'thug sibhse
géill do ghuth an Tighearna bhur
Dia, no do aon ni air son an do chuir
e mise do'r n-ionnsuidh.
22 Air an aobhar sin biodh dearbh
fhios agaibh gu 'm bàsaich sibh leis a'
chlaidheamh, agus leis a' ghort, agus
leis a' phlàigh, anns an àite gus an
àill leibh siubhal gu fantuinn air
chuairt.

C A I B. XLIII.

AGUS tharladh, tra sguir Iere-
miah do labhairt ris an iomlan
do'n t-sluagh uile bhriathran an Tigh-
earna an Dia, air son an do chuir an
Tighearn an Dia esan d'an ionnsuidh,
eadhon nan uile bhriathra so;
2 Gu'n do labhair Asariah mac Ho-
saiah, agus Iohanan mac Chareah, a-
gus na daoine uaibhreach uile, ag ràdh
ri Ieremiah, Is breug a tha thu la-
bhairt: cha do chuir an Tighearn ar
Dia thu gu ràdh, Na rachaibh do 'n
Eiphit a dh'fhantuinn air chuairt an
sin.
3 Ach tha Baruch mac Neriah 'gad
bhrosnuchadh 'nar n-aghaidh, a chum
ar toirt suas do làimh nan Caldéach,
a chum ar marbhadh, no ar toirt air
falbh nar braighdean gu Babilon.
4 Mar so cha d'thug Iohanan mac
Chareah, agus uile cheannardan an
fheachd, agus an sluagh uile, géill
do ghuth an Tighearna, gu còmh-
nuidh ghabhail ann an tìr Iudah.
5 Ach ghabh Iohanan mac Cha-
reah, agus uile cheannardan an fheachd,
a' mheud as a bha làthair do Iudah, a
phill o na h-uile chinnich gus an robh
iad air am fògradh, gu còmhnuidh
ghabhail ann an tìr Iudah;
6 Na fir, agus na mnathan, agus
a' chlann, agus nigheanan an righ, a-
gus gach neach a dh'fhàg Nebusar-
adan ceannard an fhreiceadain le Ge-
daliah mac Ahicaim mhic Shaphain,
agus Ieremiah am fàidh, agus Baruch
mac Neriah;
7 Agus dh'imich iad gu tìr na h-
Eiphit; oir cha d'thug iad géill do
ghuth an Tighearna; agus thàinig iad
eadhon gu Tahpanes.
8 An sin thàinig focal an Tighearna
gu Ieremiah ann an Tahpanes, ag ràdh,

9 Gabh ann ad làimh clachan mòra, agus folaich iad anns a' chreadh, ann an àth nan clacha-creadha, a ta aig dol a ſteach tighe Pharaoih, ann an Tahpanes, ann an ſealladh fheara Iudah.

10 Agus abair riu, Mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil; Feuch, cuiridh miſe fios, agus gabhaidh mi Nebuchadneſar righ Bhabiloin, mo ſheirbhiſeach, agus ſuidhichidh mi a righ-chaithir air na clachaibh ſo a dh'fholaich mi, agus ſgaoilidh e a phailliun rioghail tharta.

11 Agus thig e, agus buailidh e tìr na h-Eiphit, iadſan a ta chum bàis, le bàs; agus iadſan a ta chum daorſa, le daorſa; agus iadſan a ta chum a' chlaidheimh, leis a chlaidheamh.

12 Agus fadaidh miſe teine ann an tighibh dhée na h-Eiphit; agus loiſgidh eſan iad, agus bheir e air falbh nam braighdean iad, agus éididh ſe e féin le tìr na h-Eiphit, mar a dh'éideas buachaill e féin le 'thruſcan; agus théid e mach as ſin ann an ſìth.

13 Briſidh e fos dealbhan tighe na gréine a ta an tìr na h-Ephit, agus tighean dée na h-Eiphit loiſgidh e le teine.

CAIB. XLIV.

AM focal a thàinig gu Ieremiah mu thimchioll nan uile Iudhach a ta chòmhnuidh ann am fearann na h-Eiphit, a ta chòmhnuidh aig Migdol, agus aig Tahpanes, agus aig Noph, agus ann an dùthaich Phatrois, ag ràdh,

2 Mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil, chunnaic ſibh an t-uile olc a thug miſe air Ieruſalem agus air uile bhailtibh Iudah; oir feuch an diugh tha iad nam fàſach, agus cha'n 'eil neach 'gan àiteachadh.

3 Air ſon an aingidheachd a chuir iad an gnìomh, a chum mis' a bhroſnuchadh gu feirg, le iad a dhol a loſgadh tùiſe, gu ſeirbhis a thoirt do dhéibh eile nach b'aithne dhoibh: dhoibhſan, dhuibhſe, no do 'ur n-aithrichibh.

4 Chuir mi mar an ceudna do'r n-ionnſuidh m'uile ſheirbhiſich na fàidhean, ag éirigh gu moch agus 'gan cur a mach, ag ràdh, Guidheam oirbh, na deanaibh an ni gràineil ſo as fuathach leam-ſa.

5 Ach cha d'éiſd iad, ni mò thionndaidh iad an cluas, gu pilleadh o'n aingidheachd, agus gun tùis a loſgadh do dhéibh eile.

6 Uime ſin bha m'fhearg agus mo chorruich air a taomadh a mach, agus air laſadh ann am bailtibh Iudah, agus ann an ſràidibh Ieruſaleim, agus tha iad nam fàſach, agus nan làraich ſgaoilte, mar air an là an diugh.

7 Agus a nis mar ſo deir Iehobhah Dia nan ſluagh, Dia Iſraeil; C'uim' am bheil ſibh a' cur an gnìomh an uilc mhòir ſo an aghaidh 'ur n-anama féin, a ghearradh as uaibh an fhir agus na mnà, an leinibh agus an naoidhein, a mach a Iudah; ionnus nach ſàgar fuigheall beo dhibh;

8 Agus gu bheil ſibh 'gam bhroſnuchadh-ſa gu corruich le oibribh 'ur làmh, a' loſgadh tùiſe do dhéibh coimheach ann an tìr na h-Eiphit gus am bheil ſibh air dol a ghabhail còmhnuidh; a chum gu 'm biodh ſibh air 'ur gearradh as, agus gu 'm biodh ſibh 'nur mallachadh, agus 'nur maſladh am meaſg uile chinneacha na talmhainn?

9 An do dhichuimhnich ſibh aingidheachd bhur n-aithrichean, agus aingidheachd righrean Iudah, agus aingidheachd am mnathan, agus 'ur n-aingidheachd féin, agus aingidheachd 'ur ban, a chuir iad an gnìomh ann am fearann Iudah, agus ann an ſràidibh Ieruſaleim.

10 Cha 'n 'eil iad air an iriſleachadh gus an là an diugh, ni mò ghabh iad eagal, no ghluais iad ann am lagh-ſa, no ann am reachdaibh, a chuir mi roimhibhſe, agus roimh 'ur n-aithrichibh.

11 Uime ſin mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil, Feuch, cuiridh miſe mo ghnùis 'nur n-aghaidh a chum uilc, eadhon a chum Iudah uile a ghearradh air falbh.

12 Agus gabhaidh mi fuigheall Iudah, a chuir an aghaidh ri dol do thìr na h-Eiphit gu fantuinn air chuairt an ſin, agus caithear iad uile ann an tìr na h-Eiphit; tuitidh iad leis a' chlaidheamh, caithear iad leis a' ghort; o'n bheag gus a' mhòr, bàſaichidh iad leis

a'

a' chlaidheamh, agus leis a' ghort; a-
gus bidh iad nam mallachadh, agus
nan uamhas, agus nam mallachd, agus
nam maſladh.

13 Agus ſmachdaichidh mi iadſan
a ta chòmhnuidh ann an tìr na h-Ei-
phit, mar a ſmachdaich mi Ieruſalem,
leis a' chlaidheamh, leis a' ghort, a-
gus leis a' phlàigh.

14 Agus do fhuigheall Iudah a ta
air teachd air chuairt do 'n Eiphit,
cha bhi neach a théid as no mhaireas
beo, gu pilleadh do thìr Iudah, gus
am bheil iad an geall air pilleadh a
ghabhail còmhnuidh; ſeadh, cha phill
ach iadſan a théid as.

15 An ſin na h-uile dhaoine aig an
robh fios gu'n do loiſg am mnathan tùis
do dhéibh eile, agus na h-uile mhna-
than a ſheas dlù, ſluagh mòr, eadhon
an t-uile ſhluagh a bha chòmhnuidh
ann an tìr na h-Eiphit, ann am Patros,
fhreagair iad Ieremiah, ag ràdh,

16 Do thaobh an fhocail a labhair
thu ruinn ann an ainm an Tighearna,
cha'n éiſd ſinn riut.

17 Ach ni ſinn gu deimhin gach
uile ni a thig a mach as ar beul féin,
a loſgadh tùiſe do bhan-righinn
nèimhe, agus a thaomadh a mach
thabhartaſa-dibhe dh'i; amhuil a rinn
ſinn, ſinn féin agus ar n-aithrichean,
ar righrean, agus ar n-uaiſlean, ann
am bailtibh Iudah, agus ann an ſràid-
ibh Ieruſaleim: oir an ſin bha pailt-
eas bidh againn, agus ſhoirbhich
leinn, agus cha'n fhaca ſinn olc air
bith.

18 Ach o 'n àm an do ſguir ſinn do
loſgadh tùiſe do bhan-righinn nèimhe,
agus do thaomadh a mach thabhartaſ-
a-dibhe dh'i, bha eaſbhuidh nan uile
nithe oirnn, agus bha ſinn air ar
caitheamh leis a' chlaidheamh agus
leis a' ghort.

19 Agus an uair a loiſg ſinn tùis
do bhan-righinn nèimhe, agus a dhòirt
ſinn a mach tabhartaſa-dibhe dh'i, an
d'rinn ſinn breacagan dh'i d'a h-aor-
adh, agus a dhòrtadh thabhartaſa-
dibhe dh'i, as eagmhais ar feara?

20 An ſin labhair Ieremiah ris an
uile ſhluagh, ris na fearaibh, agus ris
na mnaibh, agus ris an uile ſhluagh
a thug dha freagradh, ag ràdh,

21 An tùis a loiſg ſibh ann am
bailtibh Iudah, agus ann an ſràidibh
Ieruſaleim, ſibh féin, agus 'ur n-aith-
richean, 'ur righrean, agus 'ur n-uach-
darain, agus ſluagh an fhearainn,
nach do chuimhnich an Tighearn iad,
agus nach d'thàinig iad na aire?

22 Air chor as nach feudadh an
Tighearn giùlan *leibh* ni b'fhaide, air
ſon aingidheachd 'ur deanadais, air
ſon nan gràinealachdan a chuir ſibh
an gnìomh: air an aobhar ſin tha 'ur
fearann na fhàſach, agus na uamhas,
agus na mhallachd, gun aon fhear-àit-
eachaidh, mar air an là an diugh.

23 A chionn gu 'n do loiſg ſibh tùis,
agus a chionn gu 'n do pheacaich ſibh
an aghaidh an Tighearna, agus nach
d'thug ſibh géill do ghuth an Tigh-
earna, ni mò ghluais ſibh na lagh, no
na reachdaibh, no na àitheantaibh: air
an aobhar ſin tha'n t-olc ſo air teachd
oirbh, mar air an là an diugh.

24 Os barr, thuirt Ieremiah ris an
t-ſluagh uile, agus ris na mnaibh uile,
Eiſdibh focal an Tighearna, uile Iu-
dah a ta an tìr na h-Eiphit.

25 Mar ſo labhair Tighearn nan
ſluagh, Dia Iſraeil, ag ràdh, Labhair
ſibh féin agus 'ur mnathan le'r beoil,
agus chuir ſibh an gnìomh le'r làmh-
an, ag ràdh, Coimhlionaidh ſinn gu
deimhin ar bòidean a thug ſinn, gu
tùis a loſgadh do bhan-righinn nèimhe,
agus tabhartaſa-dibhe dhòrtadh a mach
dh'i: ni ſibh gu deimhin 'ur bòidean
a dhaingneachadh, agus ni ſibh gu
deimhin 'ur bòidean a choimhlionadh.

26 Uime ſin éiſdibh focal an Tigh-
earna, uile Iudah, ta chòmhnuidh ann
an tìr na h-Eiphit; Feuch, mhionn-
uich miſe air m'ainm mòr, deir an
Tighearn, nach bi m' ainm ni 's mò
air 'ainmeachadh ann am beul duin'
air bith do Iudah, ann an uile thìr na
h-Eiphit, ag radh, Mar as beo an
Tighearn Dia.

27 Feuch, ni miſe faire os an cionn
air ſon uilc, agus cha'n ann air ſon
maith, agus ſgrioſar gach duine do Iu-
dah a ta 'n tìr na h-Eiphit, leis a'
chlaidheamh, agus leis a' ghort, gus
am bi làn-chrìoch orra.

28 Agus a' mhuinntir a théid as
o'n chlaidheamh, pillidh iad o thìr
na

na h-Eiphit gu tìr Iudah, tearc ann an
àireamh: agus aithnichidh uile fhuigh-
eall Iudah a chaidh air chuairt do thìr
na h-Eiphit, cò am focal a sheafas,
m'fhocal-sa, no am focal-san.
29 Agus *bidh* so mar chomhara
dhuibh, deir an Tighearn, gur mis a
smachduich sibh anns an àite sin, a
chum gu'n aithnich sibh gu cinnteach
gu seas mo bhriathran-sa 'nur n-agh-
aidh a chum '*ur* dochainn.
30 Mar so deir an Tighearn, Feuch,
bheir mise Pharaoh-hophra righ na
h-Eiphit do làimh a naimhdean, agus
do làimh na muinntir a ta 'g iarruidh
'anama; mar a thug mi Sedeciah
righ Iudah do làimh Nebuchadnesair
righ Bhabiloin, agus fear-tòrachd[a]
'anama.

CAIB. XLV.

AM focal a labhair Ieremiah am
fàidh ri Baruch mac Neriah,
'nuair a sgrìobh e na briathran so ann
an leabhar o bheul Ieremiah, ann an
ceathramh bliadhna Iehoiacim mhic
Iosiah righ Iudah, ag ràdh,
2 Mar so labhair an Tighearn Dia
Israeil do d' thaobh-sa, O Bharuich;
3 Thubhairt thu, Mo thruaighe
mise nis! oir chuir an Tighearn bròn
ri m' dhoilghios; tha mi sgìth le m'
osnaibh, agus fois air bith cha d' fhuair
mi!
4 Mar so their thu ris, Mar so
thubhairt an Tighearn, Feuch, an ni
sin a thog mi, tilgidh mi sìos; agus
an ni sin a shuidhich mi spìonaidh mi
nìos; eadhon an fearann so gu h-iom-
lan.
5 Agus am bheil thus' ag iarruidh
air do shon féin nithe mora? Na
h-iarr: oir, feuch, bheir mise olc air
na h-uile fheoil, deir an Tighearn:
ach bheir mi dhuitse d' anam mar
chobhartach, anns na h-uile àite gus
an dthéid thu.

CAIB. XLVI.

FOCAL an Tighearna a thàinig gu
Ieremiah am fàidh, mu thim-
chioll nan cinneach.
2 Mu thimchioll na h-Eiphit. Do
thaobh feachda Pharaoh-necho righ
na h-Eiphit, a bha ri taobh na h-aibhne
Euphrateis ann an Carchemis, a bhuail
Nebuchadnesar righ Bhabiloin, ann
an ceathramh bliadhna Iehoiacim,
mhic Iosiah, righ Iudah.
3 Gleusaibh an targaid agus an
sgiath, agus dlùthaichibh a chum a'
chatha.
4 Uighimichibh na h-eich, agus
rachaibh airam muin, a mharc-shluagh;
agus seasaibh a mach le ceannbheart-
aibh; liomhaibh na sleaghan, cuiribh
oirbh na lùirichean.
5 C'uim' am faca mi iad so fo gheilt,
agus a gabhail na ruaige? tha eadhon
an daoine cumhachdach air an claoidh;
seadh a' teicheadh gu luath, agus
gun iad a' sealltuinn nan déigh. Tha
eagal air gach làimh, deir an Tigh-
earn.
6 Na teicheadh am fear luath, agus
na rachadh am fear làidir as; a làimh
na h-airde tuath, ri taobh na h-aibhne
Euphrateis, thuislich, agus fhuair iad
leagadh.
7 Cò so teachd a nìos mar abhainn,
agus a h-uisgeachan ag atadh mar
thuiltean?
8 Dh' éirich an Eiphit mar abh-
ainn, tha a h-uisgeachan ag atadh mar
thuiltean, agus tha i 'g ràdh, Théid
mi suas, còmhdaichidh mi am fearann,
sgriosaidh mi a' chathair agus iadsan
a ta 'ga h-àiteachadh.
9 Rachaibh air 'ur n-eachaibh, a-
gus bithibh air mhire-chatha; air na
carbadaibh, agus rachadh na fir-chog-
aidh a mach: na h-Etiopaich, agus
na Libianaich a ghlacas an sgiath, a-
gus na Lidianaich a ghlacas agus a
chuireas air lagh am bogha.
10 Oir is e so là Tighearna nan
sluagh, là dioghaltais, a chum e féin
a dhioladh air a naimhdibh: agus
sluigidh an claidheamh, agus bidh e
sàthach, agus cuirear air mhisg e le
'n fuil: oir tha iobairt aig Tighearn
nan sluagh anns an tìr mu thuath,
làimh ri abhainn Euphrateis.
11 Theirig suas gu Gilead, agus
gabh ioc-shlaint, O òg-bhean, a nigh-
ean na h-Eiphit; is dìomhain duit mòr,
an

[a] *a bha 'g iarruidh.*

an chungaidhean-leigheis a gnàth-
achadh: air do leigheas cha bhi thu.
12 Chuala na cinnich do mhaſladh,
agus lìon do ghaoir an talamh: oir
thuiſlich iad, an laoch an aghaidh an
laoich; thuit iad araon le chéile.
13 Am focal a labhair an Tighearn
ri Ieremiah am fàidh, mu theachd Ne-
buchadneſair righ Bhabiloin, a bhual-
adh tìre na h-Eiphit.
14 Foillſichibh anns an Eiphit, a-
gus cuiribh an céill ann am Migdol;
innſibh fòs ann an Noph, agus ann an
Tahpanes abraibh; Seas daingean, a-
gus deaſuich thu féin; oir ſhluig an
claidheamh a' mhuinntir a ta mu 'n
cuairt duit.
15 C' uim' am bheil do chumhachd-
aich air an leagail? cha do ſheas iad,
a chionn gu 'n do thilg an Tighearn
sìos iad.
16 Thug e air mòran tuiſleachadh,
feadh tuiteam air muin a' chéile[a]:
thubhairt iad uime ſin, Thigibh, a-
gus pilleamaid gu 'r ſluagh féin, agus
gu tìr ar dùchais, o chlaidheamh a'
mhillteir.
17 Dh'éigh iad an ſin, O Pharaoih,
a righ na h-Eiphit, chuir ioma-luaſg-
adh air a' choinneamh a ſhuidhich-
eadh.
18 Mar is beo miſe, deir an Righ,
d' an ainm Iehobhah Dia nan ſluagh,
gu deimhin mar Thabor am meaſg
nam beann, agus mar Charmel ri
taobh na fairge, thig e.
19 Cuir d' airneis an uigheam air
ſon dol air ghluaſad, O a nighean a ta
chòmhnuidh ſan Eiphit; oir bidh
Noph na fhàſach, bidh e fòs na làr-
aich ſgaoilte, gun aon 'ga àiteach-
adh.
20 Is agh aig am bheil aogus àl-
uinn an Eiphit; tha milleadh o 'n
airde tuath a' teachd *na h-aghaidh*.
21 Tha a fir-thuaraſdail fòs na
meadhon mar dhaimh bhiadhta; gi-
dheadh thionndaidh eadhon iadſan an
cùlaobh, theich iad le chéile, cha do
ſheas iad; a chionn gu 'n d' thàinig orra
là an àmhleis, aimſir an ſmachdach-
aidh.
22 Théid a guth a mach mar *ghuth*
nathrach; oir gluaiſidh iad mar ar-
mailt, agus thig iad na h-aghaidh
le tuaghaibh, mar luchd-gearradh
chraobh.
23 Gearraibh sìos a coillteach, deir
an Tighearn, air chor as nach bi i r'a
faotainn le iarruidh; ge lìonmhoire
iad na locuiſt, agus ge nach feudar an
àireamh.
24 Tha amhluadh air nighinn na
h-Eiphit; thugadh thairis i do làimh
ſluaigh na h-airde tuath.
25 Thubhairt Tighearn nan ſluagh,
Dia Iſraeil, Feuch, ſmachdaichidh miſe
Amon No, agus Pharaoh, agus an
Eiphit, agus a dée, agus a righrean;
eadhon Pharaoh agus iadſan a ta cur
an dòchais ann.
26 Agus bheir mi thairis iad do
làimh na muinntir a ta 'g iarruidh an
anama, eadhon do làimh Nebuchad-
neſair righ Bhabiloin, agus do làimh
a ſheirbhiſeach: agus na dhéigh ſin
àitichear i, mar anns na laithibh o
ſhean, deir an Tighearn.
27 Ach na biodh eagal ortſa, O
Iacoib, m' òglaich, agus na biodh
geilt ort, O Iſraeil; oir, feuch, bheir
miſe tèaruint thu o chéin, agus do
ſhliochd o thìr an daorſa; agus pillidh
Iacob, agus gheibh e fois agus sìth;
agus cha bhi aon neach ann a chur
eagail air.
28 Na biodh eagal ort, O Iacoib
m' òglaich, deir an Tighearn, oir tha
miſe maille riut; ged bheir mi crìoch
iomlan air na h-uile chinnich gus an
d' fhògair mi thu, gidheadh cha dthoir
mi crìoch iomlan ortſa: ach ſmachd-
aichidh mi thu ann an tomhas, agus
cha 'n fhuiling mi dhuit dol as gu
h-iomlan ſaor.

C A I B. XLVII.

FOCAL an Tighearna a thàinig gu
Ieremiah am fàidh do thaobh
nam Philiſteach, mu'n do bhuail Pha-
raoh Gaſa.
2 Mar ſo deir an Tighearn, Feuch,
tha uiſgeachan a' teachd a nìos o 'n
airde tuath, agus fàſaidh iad nan tuil
a thig thairis, agus a chòmhdaicheas
am fearann, agus gach ni ta ann; a'
chathair

[a] *cach a chéile.*

chathair, agus iadſan a ta 'g a h-àitcachadh: agus éighidh na daoine gu h-ard, agus ni uile luchd-àiteachaidh na tìre tuireadh.

3 Ri fuaim tartair ionganan eacha meamnach, ri farum a' charbad, ri ſtairirich a rothan, cha ſeall na h-aithrichean air an ais ri '*n* clann, le laigſe làmh.

4 Air ſon an là a ta teachd a chreachadh nam Philiſteach uile, *agus* a ghearradh air falbh o Thirus agus o Shidon gach fear-cuideachaidh a ta mairionn: oir creachaidh an Tighearn na Philiſtich, fuigheall tìre Chaphtoir.

5 Thàinig maoile air Gaſa; mhilleadh Aſcelon. O fhuigheall an glinne; cia fhada ni thuſa thu féin a ghearradh?

6 Ho! a chlaidheimh Iehobhah! cia fhada gus an gabh thu fois? taiſg thu féin ann ad thruaill, gabh fois, agus bi ſàmhach.

7 Cionnus a dh' fheudas e bhi ſàmhach, o thug an Tighearn àithne dha? An aghaidh Aſceloin, agus an aghaidh oir-thir na fairge, an ſin dh' orduich ſe e.

CAIB. XLVIII.

MU thimchioll Mhoaib. Mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil; Is anaoibhinn do Nebo! oir tha e air a chreachadh: tha Ciriataim air a chur gu h-amhluadh, air a ghlacadh; tha e air a mhaſlachadh, an daingneach ard, agus air a bhriſeadh sìos.

2 Ni 's mò cha bhi uaill aig Moab ann an Heſbon; dhealbh iad olc na aghaidh, *ag ràdh*, Thigibh, agus gearramaid as e o bhi na chinneach: millear thuſa mar an ceudna, O Mhadmein, bidh an claidheamh air do thòir.

3 Tha fuaim éighich o Horonaim, milleadh agus àr mór.

4 Tha Moab air a mhilleadh, thug a chlann bheag air an gaoir a bhi air a cluinntinn.

5 Gu dearbh aig uchdaich Luhit, theid gul a ſuas gun fhios: gu dearbh aig leathad Horonaim chuala mo naimhde éigh a' mhillidh.

6 Teichibh, tearnaibh 'ur n-anam, agus bithibh mar phreas ſeargta ſan ionad ſgaoilte.

7 Oir a chionn gu 'n d' earb thu as do mhaoin, agus as d' ionmhaſaibh, air an aobhar ſin bidh tu *féin* fòs air do ghlacadh: agus théid Chemos air falbh am braighdeanas, a ſhagairt agus 'uachdarain maille ris.

8 Thig creachadair fòs air gach uile chathair; agus cha dthéid cathair air bith as: agus millear an gleann, agus théid an còmhnard a ſgrios, amhuil a labhair an Tighearn.

9 Thugaibh ſgiathan do Mhoab, a chum gu 'n teich e gu luath air falbh; agus biodh a bhailtean nam fàſach, gun aon 'gan àiteachadh.

10 Is malluichte eſan a ni obair an Tighearna gu cealgach; agus is malluichte eſan a chumas a chlaidheamh air ais o fhuil.

11 Bha fuaimhneas aig Moab o 'òige, agus ſhocruich[a] e air [illegible]ſg-ainibh, agus cha do tharruingeadh a mach o ſhoitheach gu ſoitheach e, ni mò dh' imich e ann am braighdeanas: air an aobhar ſin mhair a bhlas ann, agus cha d' atharraicheadh a bholadh.

12 Uime ſin, feuch, tha na laithean a' teachd, deir an Tighearn, anns an cuir miſe d' a ionnſuidh luchd-gluaſaid, a bheir air dol air ghluaſad, agus a dh' fhalamhaicheas a ſhoithichean, agus a bhriſeas a ſhoireachan.

13 Agus bidh nàire air Moab do Chemos, mar a bha nàire air tigh Iſraeil do Bhetel am muinighin.

14 Cionnus a their ſibh, Tha ſinn 'nar daoine cumhachdach, agus treun air ſon a' chatha?

15 Tha Moab air a chreachadh, agus air dol ſuas *as* a bhailtibh, agus thàinig an òigridh thaghta-ſan a nuas a chum an àir, deir an Righ, d' an ainm Iehobhah Dia nan ſluagh.

16 Tha léir-ſgrios Mhoaib dlù do làimh, agus 'amhghar gu luath a' greaſad.

17 Guilibh air a ſhon, ſibhs' [illegible]le mu 'n cuairt da; agus ſibhs' uile d' [illegible]

aithne

[a] *ſhiolaidh.*

aithne 'ainm; abraibh, Cionnus a bhriseadh slat-rioghail na treise! lorg na maise!

18 Thig a nuas o d' àilleachd, agus suidh ann an ìota, O a nighean a ta 'g àiteachadh Dhiboin; a chionn gu bheil creachadair Mhoaib air teachd a nìos ann ad aghaidh, fear-millidh do dhaingnichean.

19 Seas aig an t-slighe, agus gabh sealladh, O bhean-àiteachaidh Aroeir; feòruich dheth-san a theicheas, agus dh' ise chaidh as, abair, Ciod a rinneadh?

20 Mhasluicheadh Moab, oir bhriseadh a sìos e: deanaibh ulfhartaich agus ard-éigheach; innsibh an sgeul ann an Arnon, gu bheil Moab air a mhilleadh.

21 Agus thàinig breitheanas air an tìr chòmhnaird; air Holon, agus air Iahasah, agus air Mephaat,

22 Agus air Dibon, agus air Nebo, agus air Bet-diblataim,

23 Agus air Ciriataim, agus air Bet-[illegible]ul, agus air Bet-meon,

24 Agus air Ceriot, agus air Bosrah, agus air uile bhailtibh fearainn Mhoaib, am fad 's am fagus.

25 Ghearradh adharc Mhoaib uaith, agus tha a ghairdean air a bhriseadh, deir an Tighearn.

26 Cuir air mhisg e; a chionn gu 'n do thog e suas e féin an aghaidh an Tighearna: seadh, ni Moab e féin aonairt na sgeith féin, agus bidh e mar an ceudna na bhall-fanaid.

27 Oir, nach robh Israel na bhall-fanaid duitse? an d' fhuaradh am measg mheirleach e, gu 'n dthugadh tu ana-cainnt da leis na h-uile bhriathran a b' urradh thu?

28 Fàgaibh na bailtean, agus gabhaibh comhnuidh anns a' charraig, O sibhs' a ta 'g àiteachadh Mhoaib; agus bithibh cosmhuil ris a' choluman a ni a nead ann am bruaich bile na h-uaimhe.

29 Chuala sinn uabhar Mhoaib; tha e ro-uaibhreach; a mhòr-chuis agus uabhar, agus 'uaill, agus ardan a chridhe.

30 Is aithne dhomhsa, deir an Tighearn, a chorruich, ach cha 'n 'eil a neart *d' a réir*; a ràiteachas, ach cha 'n 'eil a dheanadas d' a réir.

31 Air an aobhar sin guilidh mise air son Mhoaib, eadhon air son Mhoaib uile togaidh mi 'n aird mo ghuth; ri fearaibh Chir-hereis ni Iaser éigheach le gul.

32 Guilidh mi air do shon, O fhìneamhuin Shibmah; sgaoil do mheanglain thar an fhairge, ràinig iad gu ruig fairge Iaseir; air do mheas-samhraidh, agus air d' fhionfhoghara bhuail am fear-millidh.

33 Agus tha aoibhneas agus gairdeachas air an toirt air falbh o 'n mhachair thorraich, eadhon o thìr Mhoaib; agus air fion o 'n amarbhruthaidh chuir mise casgadh; am fear-bruthaidh cha bhrùth, an iolach cha 'n iolach i.

34 O ghaoir Hesboin gu Elealeh, gu Iahas chuir iad a mach an guth, o Shoar gu ruig Horonaim, *mar* thribliadhnach aighe; oir bidh, eadhon uisgeacha Nimrim nan léir-sgrios.

35 Agus cuiridh mise casgadh ann am Moab, deir an Tighearn, airsan a dh' ìobras air ionad ard, agus airsan a loisgeas tùis d' a dhiadhan.

36 Air an aobhar sin ni mo chridhe fuaim mar phìobaibh air son Mhoaib; ni eadhon mo chridhe fuaim mar phìobaibh air son fheara Chir-hereis: a chionn gu 'n deachaidh am beartas a fhuair iad ann am mugha.

37 Seadh *bithidh* gach ceann maol, agus gach feusag bearrta: air na h-uile làmhan *bidh* gearraidhean, agus air na h-uile leasraibh sac-éideadh.

38 Air mullach uile thighean Mhoaib, agus na shràidibh, *bidh* tuireadh coitchionn: oir bhris mise Moab, mar shoitheach anns nach 'eil aig aon neach tlachd, deir an Tighearn.

39 Cionnus a bhriseadh sìos e! (bhùir iad); cionnus a thionndaidh Moab a chùlaobh! nàraicheadh Moab, agus bidh e na bhall-fanaid, agus na uamhann dhoibhsan uile mu 'n cuairt da.

40 Oir mar so deir an Tighearn, Feuch, itealuichidh *aon* mar iolair, agus sgaoilidh e a sgiathan thar Moab.

41 Ghlacadh na bailtean, agus tha na daingnichean an làimh, agus bidh cridheachan laoch Mhoaib anns an là sin mar chridhe mnà ri saothair.

42 Agus sgriosar Moab o bhi ni 's mò

mò na chinneach, a chionn gu 'n d' ard-
uich se e féin an aghaidh an Tighearna.
43 *Bithidh* an t-uamhas, an flochd,
agus an rib ort, O fhir-àiteachaidh
Mhoaib, deir an Tighearn.
44 Esan a theicheas o 'n uamhas,
tuitidh e san t-flochd, agus esan a
dh' éireas as an t-flochd, glacar e san
rib; oir bheir mise air, *eadhon* air
Moab, bliadhna a smachdachaidh, deir
an Tighearn.
45 Fuidh sgàile Hesboin sheas iad-
san a theich o 'n ain-neart: ach thig
teine mach o Hesbon, agus lasair a
meadhon Shihoin, agus loisgidh e
cearna Mhoaib, agus mullach cinn
nan daoine ceannairceach.
46 Is anaoibhinn dhuitse, O Mhoaib!
tha thusa caillte, O shluaigh Chemois!
oir thugadh do mhic air falbh am
braighdeanas, do nigheanan ann am
bruid mar an ceudna.
47 Gidheadh bheir mise air a h-ais
bruid Mhoaib anns na laithibh deir-
eannach, deir an Tighearn. An fhad
so breitheanas Mhoaib.

CAIB. XLIX.

MU thimchioll nan Amonach. Mar
so deir an Tighearn, Nach 'eil
mic idir aig Israel! nach 'eil oighre
sam bith aige? c' uim' am bheil sealbh
aig Milcom air Gad, agus a shluagh
a chòmhnuidh na bhailtibh?
2 Uime sin, feuch, tha na laithean
a' teachd, deir an Tighearn, san
dthoir mise fainear gu 'n cluinnear ann
an Rabah nan Amonach caismeachd
cogaidh, agus bidh e na thorr léir-
sgrios, agus loisgear a nigheanan le
teine: an sin bidh Israel na oighre air
an dream a bha nan oighreachan air-
san, deir an Tighearn.
3 Dean ulfhartaich, O Hesboin, oir
chreachadh Ai: éighibh, a nigheana
Rabah, cuiribh umaibh eudach-saic:
tuiribh, agus ruithibh air 'ur n-ais a-
gus air 'ur n-aghaidh ri taobh nan
callaidean; oir falbhaidh Milcom ann
am braighdeanas, a shagairt agus
'uachdarain maille ris.
4 C' uim' am bheil thu ri uaill ann
an gleannaibh? *ged* tha do ghleann
torrach, O a nighean cheannairceach:
ag earbsa as a h-ionmhasaibh, *ag ràdh*,
cò thig do m' ionnsuidh-sa?

5 Feuch, bheir mise uamhas ort,
deir an Tighearn Dia nan sluagh, o na
h-uile taobh mu 'n cuairt duit, agus
iomainear a mach sibh, gach aon
roimhe, agus cha bhi neach ann a
chruinnicheas air an ais a' mhuinntir
a ghabhas an ruaig.
6 Ach na dhéigh sin bheir mise
air a h-ais bruid cloinne Amoin, deir
an Tighearn.
7 Mu thimchioll Edoim. Mar *so*
deir Tighearn nan sluagh, Nach 'eil
gliocas ni 's mò ann an Teman? an
do bhàsaich comhairle nan daoine
glice? an deachaidh an gliocas am
mugha?
8 Teichibh, pillibh air 'ur n-ais,
rachaibh domhain a ghabhail còmh-
nuidh, O a luchd àiteachaidh Dhe-
dain; oir bheir mise dòrainn Esau
air, an uair a smachdaicheas mi e.
9 Ma thig luchd-tionail fhion-
dhearc do d' ionnsuidh, cha 'n fhàg
iad uirread as diolum: ma thig gad-
uichean anns an oidhche, creachaidh
iad gus am bi aca ni 's leòr.
10 Oir rùisg mise Esau, leig mi ris
'ionada diomhair, air chor as nach
feud se e féin fholach; chreachadh a
shliochd, agus a bhràithrean, agus a
choimhearsnaich, agus cha 'n 'eil e
féin ann.
11 Fàg do dhilleachdain, gleidhidh
mise beo iad; agus cuireadh do bhan-
traichean an dòchas annamsa.
12 Seadh, mar so deir an Tighearn,
Feuch, iadsan nach robh co toilltean-
ach air òl do 'n chuaich, dh' òl iad
dh' i gu deimhin, agus am feud thusa
dol saor as? cha dthéid thu as, ach
gu deimhin òlaidh tu.
13 Oir orm féin mhionnuich mise,
deir an Tighearn, gu 'm bi Bosrah na
léir-sgrios, na mhasladh, na fhàsach,
agus na mhallachadh; agus gu 'm bi
'uile bhailtean nam fàsaichean sìor-
ruidh.
14 Chuala mi aithris o 'n Tigh-
earn, agus chuireadh teachdair chum
nan cinneach, *ag ràdh*, Cruinnichibh
le chéile, agus thigibh na h-aghaidh,
agus éiribh suas a chum a' chatha.
15 Oir feuch, ni mise beag thu am
measg nan cinneach, *agus* suarrach am
measg dhaoine.
16 Rinn do mhòr-chumhachd do
mhealladh,

mhealladh, uabhar do chridhe, O thusa ta 'g àiteachadh uamha na carraige, ta gleidheadh airde a' chnuic: ged dhean thu gu h-ard, mar an iolair, do nead, as sin bheir mise nuas thu, deir an Tighearn.

17 Agus bidh Edom na fhàsach, bidh uamhunn air gach neach a théid seachad air, agus ni iad sgeig m' a uile léir-sgrios.

18 Ceart mar ann an sgrios Shodoim agus Ghomorraih, agus nan ionadan a bha dlù dhoibh, deir an Tighearn, cha ghabh duine còmhnuidh an sin, ni mò théid mac duine gu fuireach air chuairt ann.

19 Feuch, mar leòmhann thig e nìos o atàireachd Iordain gu ionad còmhnuidh nan cumhachdach. Gu deimhin bheir mise fainear gu luath gu 'n ruith e nìos as sin; agus cò e an gaisgeach taghta a chuireas mi os a chionn? Oir cò is cosmhuil riumsa, no cò a chumas coinneamh rium, no c' àit' am bheil am buachaill sin a's urradh seasamh ann am làthair?

20 Air an aobhar sin éisdibh rùn an Tighearna, a rùnaich e 'n aghaidh Edoim, agus a smaointean a smaointich e 'n aghaidh luchd-àiteachaidh Themain: gu deimhin spìonar air falbh àlach an treud, gu deimhin nìthear léir-sgrios, os an cionn, d' an àite-còmhnuidh.

21 Le fuaim an leagaidh, tha crith air an talamh; tha 'ghaoir a' dol a mach; aig a' Mhuir-ruaidh chualas an éigheach.

22 Feuch, thig e nìos mar iolair ag itealuich, agus sgaoilidh e a sgiathan thar Bosrah; agus bidh cridheachan laochruidh Edoim anns an là sin mar chridhe mnà ri saothair.

23 Mu thimchioll Dhamascuis. Chuireadh gu h-amhluadh Hamat agus Arphad, oir chual' iad droch sgeula; tha iad fuidh iomaguin mar mhuir bhuairte nach feud a bhi sàmhach.

24 Tha Damascus air fàs lag, tha e 'g a thionndadh féin gu teicheadh, agus fhuair eagal greim air; ghlac teannatachd e, agus ioghanna, mar mhnaoi ri saothair.

25 Cionnus nach mairionn cathair a' mholaidh, baile mo shòlais!

26 Uime sin tuitidh a h-òganaich na sràidibh, agus gearrar as na fir-chogaidh uile san là sin, deir Tighearn nan sluagh.

27 Agus fadaidh mise teine ann am balla Dhamascuis, agus loisgidh e lùchairtean Bhen hadaid.

28 Do thaobh Chedair, agus do thaobh rioghachdan Hasoir, a bhuail Nebuchadnesar righ Bhabiloin. Mar so thubhairt an Tighearn, Eiribh, rachaibh suas gu Cedar, agus creachaibh daoine an aird' an ear.

29 Am bùthan agus an treudan glacadh iad, an sgàileachan agus an airneis uile; agus an càmhalan gabhadh iad dhoibh féin; agus abradh iad riu[a], Uamhas air gach taobh.

30 Teichibh, imichibh gu luath, rachaibh domhain a ghabhail còmhnuidh, O a luchd-àiteachaidh Hasoir, deir an Tighearn; oir ghabh Nebuchadnesar righ Bhabiloin comhairle 'nur n-aghaidh, agus dhealbh e innleachd 'nur n-aghaidh.

31 Eiribh, rachaibh suas an aghaidh cinnich shuaimhneich, a ta gabhail còmhnuidh gun chùram, deir an Tighearn; aig nach 'eil aon chuid dorsan no croinn; a ta chòmhnuidh air leth leo féin.

32 Agus bidh an càmhala nan cobhartaich, agus pailteas an spréidhe na chreich; agus sgapaidh mise gus na h-uile gaoth iadsan a th' anns na cearnaibh iomallach, agus o na h-uile taobh dheth bheir mis' an dòrainn, deir an Tighearn.

33 Agus bidh Hasor na ionad-còmhnuidh dhragon, na fhàsach bith-bhuan; cha ghabh duine còmhnuidh an sin, ni mò théid mac duine gu fuireach air chuairt ann.

34 Focal an Tighearna a thàinig gu Ieremiah am fàidh mu thimchioll Elaim, ann an toiseach linn Shedeciah righ Iudah, ag ràdh,

35 Mar so deir Tighearn nan sluagh, Feuch, brisidh mise bogha Elaim, a' chuid a 's tréine d' an cumhachd.

36 Agus bheir mise air Elam ceithir ghaoithean o cheithir chearnaibh

 nèimhe,

[a] *canadh iad riu.*

nèimhe, agus ſgapaidh mi iad roimh
na gaoithean ſo uile; agus cha bhi
cinneach ſam bith gus nach dthig
iadſan a dh' fhògradh o Elam.
37 Oir bheir miſe air Elam a bhi
fuidh gheilt roimh an naimhdean, a-
gus roimh 'n mhuinntir a ta 'g iarr-
uidh an anama; agus bheir mi aimh-
leas orra, teas mo chorruich, deir an
Tighearn; agus cuiridh mi nan déigh
an claidheamh gus an cuir mi as
doibh.
38 Agus cuiridh mi mo righ-chaith-
ir ann an Elam, agus ſgrioſaidh mi as
ſin an righ agus na ceannardan, deir
an Tighearn.
39 Ach tarlaidh anns na laithibh
deireannach, gu 'n dthoir miſe air an
ais bruid Elam, deir an Tighearn.

CAIB. L.

AM focal a labhair an Tighearn
mu thimchioll Bhabiloin, agus
mu thimchioll fearainn nan Caldéach,
le Ieremiah am fàidh.
2 Cuiribh an céill am meaſg nan
cinneach, agus foillſichibh; agus cuir-
ibh ſuas a' bhratach; foillſichibh, na
ceilibh: abraibh, Ghlacadh Babilon,
mhaſluicheadh Bel, bhriſeadh Merod-
ach na bhloighdibh, chlaoidheadh a h-
iodholan, bhriſeadh nam bloighdibh
a dealbhan.
3 Oir tha cinneach a' teachd a nìos
na h-aghaidh o 'n airde tuath, a ni a
fearann na fhàſach, air chor as nach
gabh aon neach còmhnuidh ann; ea-
dar dhuine agus ainmhidh gluaiſidh
iad, ſiubhlaidh iad air falbh.
4 Ach anns na laithibh ſin, agus
air an àm ſin, deir an Tighearn, thig
clann Iſraeil, iad féin agus clann Iudah
le chéile, ag imeachd, agus a' gul
nan imeachd, agus iarruidh iad an
Tighearn an Dia.
5 Iarruidh iad an t-ſlighe gu Sion
le 'n aghaidh d' a h-ionnſuidh, *ag*
ràdh, Thigibh agus naiſgeamaid[a] ſinn
féin ris an Tighearn ann an coimh-
cheangal ſiorruidh nach leigear air
di-chuimhn.
6 Bu chaoirich chaillte mo ſhluagh-
ſa: thug an aodhairean orra dol air
ſeacharan, tharruing iad a thaoibh iad
air na ſléibhtibh; ſhiubhail iad o
ſhliabh gu cnoc, leig iad an àite-fois
air di-chuimhn.
7 Iadſan uile a fhuair iad, ſhluig
iad ſuas iad; oir thuirt an naimhdean,
Cha 'n 'eil ſinn ri cron air bith, a chionn
gu 'n do pheacaich iad an aghaidh
an Tighearna, àite-tàimh a' cheartais;
eadhon an Tighearna, dòchais an
aithrichean.
8 Gluaiſibh a mach a meadhon
Bhabiloin, agus imichibh a tìr nan
Caldéach, agus bithibh mar na gabh-
raibh firionn air toiſeach nan treudan.
9 Oir feuch, dùiſgidh miſe, agus
bheir mi nìos an aghaidh Bhabiloin,
coimhthional chinneach mòra o 'n
tìr mu thuath; agus cuiridh iad iad
féin an ordugh na h-aghaidh, air ſheòl
as gu 'n glacar i: bidh an ſaighdean
mar gu 'm b' ann o ghaiſgeach ſeòlta;
cha phill aon diubh gu dìomhain.
10 Agus bidh Caldéa na creich,
iadſan uile a chreachas i gheibh iad
an ſàth, deir an Tighearn.
11 A chionn gu bheil ſibh ri gaird-
eachas, a chionn gu bheil ſibh ri aidh-
ear, O ſibhs' a chreach m' oighr-
eachd; a chionn gu bheil ſibh air fàs
reamhar mar agh biadhta, agus ri
ſitrich mar eachaibh meamnach.
12 Maſluichear 'ur màthair gu mòr,
nàraichear iſe a rug ſibh; feuch iſe,
deireadh nan cinneach, na fàſach, na
fearann tioram agus falamh.
13 Air ſon corruich an Tighearna
cha bhi i ni 's mò air a h-àiteachadh,
ach bidh i na fàſach gu h-iomlan:
bidh uamhunn air gach aon a théid
ſeachad air Babilon, agus ni e ſgeig
m' a h-uile phlàighibh.
14 Cuiribh ſibh féin an ordugh an
aghaidh Bhabiloin air gach taobh:
ſibhſe uile a lùbas am bogha, caithibh
oirre, na caomhnaibh ſaighdean; oir
chiontaich i 'n aghaidh an Tighearna.
15 Eighibh os a cionn air gach
taobh: ſtrìochd i i féin, thuit a daingn-
ichean, thilgeadh ſios a ballachan:
oir is e ſo dìoghaltas an Tighearna,
deanaibhſe dìoghaltas oirre: mar a
rinn i féin, deanaibhſe rithe.
16 Gearraibh o Bhabilon am fear-
cuir, agus eſan a ghlacas an corran an
àm an fhogharaidh: air eagal claidh-
eimh a' mhillteir, pillidh iad, gach aon
g' a

[a] *ceanglamaid.*

g' a ſhluagh, teichidh iad gach aon
g' a dhùthaich.
17 Is treud ſgapta Iſrael; rinn
leòmhainn a ruagadh; an toiſeach,
chaith righ Aſiria ſuas e; agus mu
dheire, dh' ith Nebuchadneſar ſo righ
Bhabiloin gu ruig an cnàimh e.
18 Air an aobhar ſin mar ſo deir
Tighearn nan ſluagh, Dia Iſraeil,
Feuch, ſmachdaichidh miſe righ Bha-
biloin agus 'fhearann, mar a ſmachd-
aich mi righ Aſiria.
19 Ach bheir mi Iſrael air ais gu
'àite-còmhnuidh féin, agus ionaltraidh
e air Carmel agus Baſan, agus air
ſliabh Ephraim agus air Gilead ſàſ-
uichear 'anam anns na laithibh ſin.
20 Agus anns an àm ſin, deir an
Tighearn, iarrar aingidheachd Iſraeil,
agus cha bhi i ann; agus lochdan Iu-
dah, ach cha bhi iad r' am faotainn:
oir bheir miſe maitheanas dhoibh-ſin
a chaomhaineas mi.
21 An aghaidh fearainn nan ceann-
airceach imich ſuas, air féin, agus air
a luchd-àiteachaidh dean peanas, O a
chlaidheimh, agus cuir as gu buileach
d' an gineil, deir an Tighearn, agus
coimhlion gach ni mar a dh' àithn
miſe dhuit.
22 Tha fuaim a' chatha ſan fhear-
ann, eadhon milleadh ro-mhòr.
23 Cionnus a bhriſeadh agus a
ſpealgadh fairche an domhain uile!
Cionnus a dh' fhàs Babilon na fàſach
ſgaoilte am meaſg nan cinneach!
24 Leag miſe rib air do ſhon, agus
bha thu fòs air do ghlacadh, O Bha-
biloin, an uair nach do ſhaoil thu:
fhuaradh, agus fòs ghlacadh thu, a
chionn gu'n d'rinn thu ſtrì an aghaidh
an Tighearna.
25 Dh' fhosgail an Tighearn a
thigh-arm, agus thug e mach airm a
chorruich: oir is i ſo obair Iehobhah,
Tighearna nan ſluagh, ann an tìr nan
Caldéach.
26 Thigibh na h-aghaidh o 'n
chearna a's iomallaiche, foſglaibh a
tighean-taiſg, cuiribh fo 'r caſaibh i
mar chorr, agus ſgrioſaibh i gu buil-
each, na biodh fuigheall d' i air 'fhàg-
ail.
27 Marbhaibh a daímh air fad:
rachadh iad sìos a chum an àir: is
truagh dhoibhſan! oir tha an là air
teachd, àm an ſmachdachaidh.
28 Guth na muinntir a theich, agus
a chaidh as o thìr Bhabiloin, a dh'
fhoilliſeachadh ann an Sion dioghaltais
an Tighearna ar Dia-ne, dioghaltais a
theampuill.
29 Gairmibh ſluagh lìonmhor an
aghaidh Bhabiloin, ſibhſe uile ta lùb-
adh a' bhogha, cuairtichibh le feachd
i air gach làimh, na rachadh cuid air
bith dh'i as; dìolaibh rithe do réir a
h-oibre, do réir gach ni a rinn i, dean-
aibh rithe; a chionn gu 'n d' rinn i gu
h-uaibhreach an aghaidh an Tighear-
na, an aghaidh Tì naomha Iſraeil.
30 Air an aobhar ſin tuitidh a
h-òganaich na ſràidibh, agus bidh a
fir-chogaidh uile air an gearradh as
anns an là ſin, deir an Tighearn.
31 Feuch tha miſe 'n ad aghaidh,
O uaibhreich, deir Iehobhah Tighearn
nan ſluagh: gu cinnteach tha do là
air teachd, an t-àm ſan dean miſe do
ſmachdachadh.
32 Agus gheibh an t-uaibhreach
tuiſleadh agus leagadh, agus cha bhi
neach ann a thogas ſuas e: agus fad-
aidh miſe teine na bhailtibh, agus
loiſgidh e gach ni m' an cuairt da.
33 Mar ſo deir Tighearn nan
ſluagh, Shàruicheadh clann Iſraeil, agus
clann Iudah le chéile, agus rinn iadſan
uile thug am braighdeanas iad greim
daingean orra, dhiùlt iad an leigeadh
air falbh.
34 Is cumhachdach am fear-ſaor-
uidh, Iehobhah Dia nan ſluagh is e
'ainm; tagraidh e gu daingean an
cùis, a chum gu 'n dthoir e ſuaimhneas
do 'n talamh, agus mi-ſhuaimhneas do
luchd-àiteachaidh Bhabiloin.
35 Bidh claidheamh air na Caldé-
ich, deir an Tighearn, agus air luchd
àiteachaidh Bhabiloin, agus air a
h-uachdaranaibh, agus air a daoinibh
glice;
36 Claidheamh air na breugairean,
agus bidh iad air mhi-chéill; claidh-
eamh air a daoinibh cumhachdach,
agus bidh iad fuidh uamhunn.
37 Claidheamh air a h-eachaibh,
agus air a carbadaibh, agus air a
h-uile ſhluagh coi-meaſgta ta na
meadhon, agus bidh iad mar mhnaibh;
claidheamh

claidheamh air a h-ionmhasaibh, agus
bidh iad air an spùinneadh;
38 Tiormachd[a] air a h-uisgeach-
aibh, agus tiormaichear suas iad: a
chionn gur i tìr nan dealbha snaighte,
agus as *a* h-iodholaibh gu bheil i a'
deanamh uaille.
39 Air an aobhar sin gabhaidh
fiadh-bheathaichean nam fàsach, agus
madaidh-alluidh nan coilltean tàmh
ann sin; an sin fòs ni nigheana na caill-
ich-oidhche còmhnuidh: agus cha 'n
àitichear i tuille gu siorruidh, ni mò
ghabhar còmhnuidh innte o linn gu
linn.
40 Amhuil 'nuair a sgrios Dia So-
dom agus Gomorrah, agus na bailtean
a bha dlù dhoibh, deir an Tighearn,
cha ghabh duine còmhnuidh an sin,
ni mò théid mac duine gu fuireach
air chuairt ann.
41 Feuch sluagh a' teachd o 'n
airde tuath, eadhon cinneach mòr, a-
gus dùisgear mòran righrean o chrìoch-
aibh an domhain.
42 Am bogha 's an t-sleagh glac-
aidh iad: tha iad fuileachdach, agus
cha nochd iad tròcair: beucaidh an
guth mar an fhairge, agus marcaich-
idh iad air eachaibh, ann an ordugh
mar dhaoine chum a' chatha, ann ad
aghaidh-sa, O nighean Bhabiloin.
43 Chuala righ Bhabiloin iomradh
orra, agus dh' fhàs a làmhan lag;
ghlac amhghar e, goith, amhuil mna
ri saothair.
44 Feuch mar leòmhann thig e nìos
o ataireachd Iordain gu còmhnuidh
nan cumhachdach. Gu deimhin bheir
mise fainear gu luath gu 'n ruith e nìos
as sin; agus cò e an gaisgeach taghta
a chuireas mis' os a chionn? Oir cò is
cosmhuil riumsa, no cò a chumas
coinneamh rium, no c' àit am bheil
am buachaill sin a's urradh seasamh
ann am làthair?
45 Air an aobhar sin éisdibh rùn
an Tighearna a rùnaich e an aghaidh
Bhabiloin, agus a smaointean a smaoin-
tich e an aghaidh tìre Chaldéa. Gu
deimhin spìonar air falbh àlach an
treud, gu deimhin nithear leir-sgrios
os an cionn, d' an àite-còmhnuidh.
46 Leis an fhuaim, Ghlacadh Ba-
bilon! tha 'n talamh air a luasgadh,
agus chualas a' ghaoir am measg nan
cinneach.

C A I B. LI.

MAR so deir an Tighearn, Feuch,
dùisgidh mise suas an aghaidh
Bhabiloin, agus an aghaidh na muinn-
tir a ta chòmhnuidh ann am meadhon
na dream sin a ta 'g éirigh ann am
aghaidh, gaoth sgriosach:
2 Agus cuiridh mi gu Babilon
luchd-fasgnaidh, agus fasgnaidh iad i,
agus falamhaichidh iad a fearann;
oir cuairtichidh iad air gach taobh i
ann an là na h-airc.
3 Lùbadh an saighdear gun tàmh a
bhogha, 's na cuireadh e dheth a lùir-
each; agus na caomhnaibh a h-ògan-
aich, sgriosaibh gu buileach an t-iom-
lan d' a feachd.
4 Agus tuitidh iadsan a mharbhar
ann an tìr nan Caldéach, agus iadsan
a bhuailear trìd na sràidibh.
5 Oir cha do dhìobradh Israel no
Iudah le 'Dhia, le Tighearn nan sluagh,
ged bha am fearann air a lionadh le
peacadh an aghaidh Ti naomha Is-
raeil.
6 Teichibh a mach a meadhon Bha-
biloin, agus sàbhaladh gach neach
'anam, mu 'n gearrar as sibh na h-ain-
gidheachd; oir is i so aimsir dioghal-
tais an Tighearna; dìolaidh e rithe
luigheachd.
7 Bu chupan òir Babilon ann an
làimh an Tighearna, a chuir air mhisg
an talamh uile: d' a fion dh' òl na
cinnich, uime sin tha na cinnich air
boile.
8 Thuit Babilon gu h-obann, agus
mhilleadh i; guilibh os a cionn; gabh-
aibh ìc air son a leoin, ma dh' fheudar
mar sin a leigheas.
9 B' àill leinne Babilon a leigheas,
ach cha 'n 'eil i air a leigheas; tréig-
ibh i, agus rachamaid gach aon d' a
dhùthaich féin; oir ràinig a breith-
eanas na nèamha, agus thogadh suas
e gus na speuraibh.
10 Thug an Tighearn soills
dhuinne; thigibh agus cuireamaid an
céill

[a] *Claidheamh.*

céill ann an Sion obair an Tighearna
ar Dia.
11 Geuraichibh na ſaighdean;
cruinnichibh na ſgiathan; dhùiſg an
Tighearn ſuas ſpiorad righrean Mhe-
dia; oir tha a rùn an aghaidh Bhabi-
loin, a chum a ſgrios: gu deimhin is
e dioghaltas an Tighearna, dioghaltas
a theampuill.
12 Fa chomhair bhallacha Bhabiloin
cuiribh ſuas a' bhratach, deanaibh am
freiceadan làidir, ſuidhichibh fir-fhaire,
deaſuichibh luchd feall-fholach; oir
mar a dhealbh an Tighearn, mar an
ceudna rinn e, na nithe ſin a labhair
e 'n aghaidh luchd-àiteachaidh Bha-
biloin.
13 O thuſa ta chòmhnuidh air mòr-
an uiſgeachaibh, ſaibhir ann an ion-
mhaſaibh, thàinig do chrioch, tomhas
do ſhainnt.
14 Thug Tighearn nan ſluagh
mionnan air féin, *ag ràdh*, Gu deimhin
lìonaidh mi thu le daoinibh, mar gu
'm b' ann le locuiſt, agus togaidh iad
[illegible]ch ann ad aghaidh.
15 Rinn Eſan an talamh le 'chumh-
achd, ſhocruich e 'n ſaoghal le 'ghlioc-
as, agus le 'thuigſe ſgaoil e mach na
nèamha.
16 'Nuair a chuireas e mach a
ghuth, tha toirm uiſgeachan anns na
nèamhaibh, agus bheir e air a' cheò
dol ſuas o iomallaibh na talmhainn, ni
e dealanach le fraſaibh, agus bheir e
mach a' ghaoth as 'ionadaibh-taſgaidh.
17 Dh' fhàs gach duine mar bhrùid
na eòlas; nàraicheadh gach òr-cheard
le iomhaigh leaghta; oir is ni breug-
ach an dealbhan leaghta, agus cha 'n
'eil anail annta.
18 Is ni faoin iad, obair mhearachd:
ann an àm an ſmachdachaidh théid
iad am mugha.
19 Cha choſmhuil riu ſo Cuibhrionn
Iacoib, oir is eſan Fear-cumaidh an
domhain uile, agus is e *Iſrael* ſlat
'oighreachd; Tighearn nan ſluagh is
e 'ainm.
20 Is tu mo thuagh-chatha, agus
m' [illegible]ſuinn-chogaidh; agus leatſa briſ-
[illegible] mi nam bloighdibh cinnich; agus
leatſa millidh mi rioghachdan;
21 Agus leatſa briſidh mi nam
bloighdibh an t-each agus a mharcach;
agus leatſa briſidh mi na bhloighdibh
an carbad, agus eſan a ſhuidheas air;
22 Agus leatſa briſidh mi nam
bloighdibh am fear agus a' bhean;
agus leatſa briſidh mi nam bloighdibh
an ſeann duine agus an leanabh; agus
leatſa briſidh mi nam bloighdibh an
t-òganach agus a' ghruagach;
23 Agus leatſa briſidh mi nam
bloighdibh am buachaille agus a
threud; agus leatſa briſidh mi nam
bloighdibh an treabhaiche agus a'
chuing; agus leatſa briſidh mi nam
bloighdibh cinn-fheadhna agus luchd-
riaghlaidh.
24 Agus dìolaidh mi ri Babilon,
agus ri uile luchd-àiteachaidh Chal-
déa, an uile olc a rinn iad ann an
Sion, 'nur ſealladh-ſa, deir an Tigh-
earn.
25 Feuch, tha miſe ann ad aghaidh,
O a ſhléibh ſgrioſaich [a], deir an Tigh-
earn, a ta ſgrios na talmhainn uile;
agus sìnidh mi mo làmh a mach ort,
agus iomainidh mi thu sìos o na creag-
aibh, agus ni mi beinn loiſgte dhiot.
26 Agus cha ghabh iad dhiot clach
air ſon oiſinne, no clach air ſon bhun-
aitean, ach ann ad charnaibh léir-
ſgrios bithidh tu gu sìorruidh, deir an
Tighearn.
27 Cuiribh ſuas bratach anns an
fhearann, ſéidibh an trompaid am
meaſg nan cinneach, deaſuichibh na h-
aghaidh cinnich, gairmibh an ceann a'
chéile na h-aghaidh rioghachdan, Ara-
rat, Mini, agus Aſchenas; ſònraichibh
ceanna-feadhna na h-aghaidh, thug-
aibh air na h-eachaibh teachd a nìos
mar na locuiſt fhriodhanach.
28 Deaſuichibh na h-aghaidh cinn-
ich, righrean Mhedia, a cinn-fheadh-
na 's a h-uile luchd-riaghlaidh, agus
uile fhearann a tighearnais.
29 Agus biodh crith air an fhearann,
agus doilghios; oir ſeaſaidh comhairl'
an Tighearna an aghaidh Bhabiloin gu
daingean, a' dheanamh tìre Bhabiloin
na fàſach, gun neach 'g a h-àiteach-
adh.
30 Leig laoich Bhabiloin dhiubh
cogadh,

[a] *mhilltich.*

cogadh, dh' fhan iad ann an daingn-
ichibh, dh' fhàilnich an treise, dh' fhàs
iad mar mhnaibh; loifgeadh a h-ionad-
a-còmhnuidh, bhrifeadh a croinn-
dhruididh.
31 Greaftaidh fear-ruith gu luath
an còdhail fir-ruithe, agus teachdair
an còdhail teachdaire, a dh' innfeadh
do righ Bhabiloin gu 'n do ghlacadh a
chathair aig *gach* ceann;
32 Agus tha na fligheachan air an
glacadh, agus a' chuilceach loifg iad
le teine, agus tha na fir-chogaidh air
am bualadh le h-uamhunn.
33 Oir mar fo deir Tighearn nan
fluagh, Dia Ifraeil, Tha nighean Bha-
biloin mar urlar-bualaidh; fathafd
tiota beag, agus thig àm a bualaidh,
agus àm a buain.
34 Dh' ith Nebuchadnefar righ
Bhabiloin fuas finn, chaith e finn, rinn
e finn 'nar foitheach falamh; fhluig
e fuas finn mar dhragon; lìon e a
bhrù le ar nithibh blafda, thilg e
mach finn.
35 Gu robh an t-ainneart a rinn-
eadh ormfa, agus air m' fheoil air Ba-
bilon, their fear-àiteachaidh Shioin, a-
gus, Gu robh m' fhuil-fa air luchd-
àiteachaidh Chaldéa, their Ierufalem.
36 Air an aobhar fin, mar fo deir
an Tighearn, Feuch, tagraidh mife do
chùis, agus ni mi dioghaltas air do
fhon; agus tiormaichidh mi fuas a
fairge, agus ni mi a màthair-uifge
tioram.
37 Agus bidh Babilon na carnaibh,
na h-ionad-còmhnuidh dhragon, na
h-uamhas, agus na ball-fgeig, gun aon
'ga h-àiteachadh.
38 Beucaidh iad le chéile mar
leòmhannaibh: fcreadaidh iad mar
chuileanaibh leòmhann.
39 Nan teas cuiridh mife cuirm
rompa, agus cuiridh mi air mhifg iad
a chum as gu 'n dean iad aighir, agus
gu 'n caidil iad cadal sìorruidh, agus
nach dùifg iad, deir an Tighearn.
40 Bheir mi nuas iad mar uain a
chum *am* marbhadh, mar reitheachan
leis na gabhraibh firionn.
41 Cionnus a ghlacadh Sefac! agus
cionnus a rinneadh greim air cliù an
domhain uile! cionnus a dh' fhàs Ba-
bilon na h-uamhas am meafg nan
cinneach!
42 Thàinig an fhairge nìos air Ba-
bilon: tha i air a còmhdachadh le
lìonmhoireachd a tonnan.
43 Tha a bailtean nam fàfach, nam
fearann tioram, agus nan làraich
fgaoilte; talamh anns nach 'eil duin'
a chòmhnuidh, ni mò théid mac duine
rompa [a].
44 Agus bheir mife breitheanas
air Bel ann am Babilon, agus bheir
mi mach as a bheul an ni fin a fhluig
e, 's cha chruinnich na cinnich an
ceann a' chéile chuige ni 's mò; thuit
fòs balla Bhabiloin.
45 Rachaibhfe mach as a meadhon,
O mo fhluaghfa, agus tearnaibh gach
aon 'anam o chorruich ghairg an
Tighearna.
46 Agus a chum 's nach bi 'ur
cridhe meat, ni mò bhios eagal oirbh
roimh an iomradh a chluinnear anns
an fhearann: oir thig an t-iomradh
air bliadhna, agus air an *ath*-bhliadhna
na dhéigh fin thig iomradh, agus ain-
neart anns an fhearann, uachdaran an
aghaidh uachdarain;
47 Air an aobhar fin, feuch, tha
na laithean a' teachd anns an dean
mife breitheanas air dealbhan fnaighte
Bhabiloin, agus cuirear gu h-amh-
luadh a fearann uile, agus tuitidh a
mairbh gu léir na meadhon.
48 Agus togaidh na nèamha agus
an talamh iolach os cionn Bhabiloin,
agus na h-uile ta annta: an uair a
thig a luchd-creachaidh na h-aghaidh
o'n airde tuath, deir an Tigh-
earn.
49 Oir mar thug Babilon air
muinntir chlaoidhte Ifraeil tuiteam;
mar fin aig Babilon thuit muinntir
chlaoidht' an domhain uile.
50 Sibhs' a chaidh as o'n chlaidh-
eamh, imichibh roimhibh; na fanaibh
'nur feafamh: cuimhnichibh an Tigh-
earn o chéin, agus thigeadh Ierufalem
'nur n-aire.
51 Bhafinnfuidh amhluadh, a chionn
gu 'n cuala finn mi-chliu, chòmh-
aich nàire ar n-aghaidh; oir thàinig
coimhich

[a] *troimpe, d' a trid.*

coimhicha ſteach do ionadaibh naomha tighe an Tighearna.

52 Uime ſin feuch, tha na laithean a' teachd, deir an Tighearn, anns an dean miſe breitheanas air a dealbhan ſnaighte, 's feadh a fearainn uile bidh acain nan daoine leònta.

53 Ged éireadh Babilon ſuas gu ruig na nèamha, agus ged dhaingnicheadh i gu h-ard a neart, uamſa thig luchd-creachaidh do h-ionnſuidh, deir an Tighearn.

54 Fuaim éighich o Bhabilon, agus léir-ſgrios mòr o thìr nan Caldéach.

55 Oir mhill an Tighearn Babilon, agus bhàſaich a mòr-fharum na meadhon; ged bha a fuaim mar thoirm uiſgeacha mòra, ge b' ard a dh' éirich a farum.

56 A chionn gu 'n d' thàinig fear-millidh na h-aghaidh, an aghaidh Bhabiloin; agus ghlacadh a laoich, agus bhriſeadh gach aon d' am boghachan; oir bheir an Tighearn, Dia na luigheachd, gu cinnteach luigheachd dh'[illegible]

57 Agus cuiridh miſe air mhiſg a prionnſachan, agus a daoine glice, a cinn-fheadhna agus a h-uachdarain, agus a daoine cumhachdach; agus caidlidh iad cadal bith-bhuan, agus cha dùiſg iad tuille, deir an Righ d' an ainm Iehobhah *Dia* nan ſluagh.

58 Mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Briſear gu tur ballacha leathan Bhabiloin, agus loiſgear a geatachan arda le teine; agus ſaoraichidh na ſlòigh gu dìomhain, agus na cinnich anns an teine, gus an dthoir iad thairis le ſgrìos.

59 Am focal a dh' àithn Ieremiah am fàidh do Sheraiah mac Neriah, mhic Mhaaſeiah, 'nuair a chaidh e le Sedeciah righ Iudah gu Babilon, anns a' cheathramh bliadhna d'a linn: agus b'e Seraiah an t-ard chaillteanach.

60 Agus ſgrìobh Ieremiah na h-uile olc a bha ri teachd air Babilon ann an aon leabhar, na briathran ſo uile ta air an ſgrìobhadh mu thimchioll Bhabiloin.

61 Agus thuirt Ieremiah ri Seraiah, 'Nuair a thig thu gu Babilon, agus a [illegible]ni, agus a leughas tu na briathra ſo uile:

62 An ſin their thu; O Thighearn, labhair thu 'n aghaidh an àite ſo gu 'ghearradh as, air chor as nach bi neach a chòmhnuidh ann, aon chuid duine no ainmhidh, ach gu 'm bi e fàs gu sìorruidh.

63 Agus tarlaidh, 'nuair a ſguireas tu do leughadh an leabhair ſo, gu 'n ceangail thu clach ris, agus tilgidh tu e ann am meadhon Euphrateis.

64 Agus their thu, Mar ſo thèid Babilon fuidhe, agus cha 'n éirich i ni 's mò, do bhrigh an uilc a bheir miſe oirre; agus cioſnaichear iad.

An ſhad ſo briathran Ieremiah.

C A I B. LII.

BHA Sedeciah bliadhna thar fhichead a dh' aois an uair a thòiſich e rì rìoghachadh, agus rìoghaich e aon bhliadhna deug ann an Ieruſalem; agus b'e ainm a mhàthar Hamutal nighean Ieremiah o Libnah.

2 Agus rinn e an *ni ſin a bha* olc ann an ſùilibh an Tighearna, do réir gach ni a rinn Iehoiacim.

3 Oir trìd feirg an Tighearna tharladh ann an Ieruſalem agus ann an Iudah, gus an do thilg e iad a mach as 'fhianuis, gu 'n d' rinn Sedeciah ar a mach an aghaidh righ Bhabiloin.

4 Agus tharladh anns an naothamh bliadhna d'a linn, anns an deicheamh mìos, air an deicheamh *là* do 'n mhìos, gu 'n d' thàinig Nebuchadneſar righ Bhabiloin, e féin agus 'uile fheachd, an aghaidh Ieruſaleim, agus ſhuidhich iad *campa* na h-aghaidh, agus thog iad daingnichean na h-aghaidh air gach taobh.

5 Mar ſin bha a' chathair air a teannachadh gus an aona bhliadhna deug do linn righ Shedeciah.

6 Agus anns a' cheathramh mìos, air an naothamh *là* do 'n mhìos, bha a' ghorta trom anns a' chathair, agus cha robh aran air bith aig muinntir na tìre.

7 An ſin bha a' chathair air a briſeadh sìos, agus theich na fir-chogaidh uile, agus chaidh iad a mach as a' chathair feadh na h-oidhche, air ſlighe a' gheataidh eadar an dà bhalla, a bha aig lios an righ, (an uair a bha na Caldéich aig a' chathair timchioll

mu'n

mu'n cuairt), agus dh' imich iad air
ſlighe a' chòmhnaird.
8 Ach lean feachd nan Caldéach
air tòir an righ, agus rug iad air Se-
deciah ann an còmhnardaibh Iericho,
agus bha 'fheachd uile air an ſgapadh
uaith.
9 Agus ghlac iad an righ, agus
thug iad ſuas e gu righ Bhabiloin,
aig Riblah, ann am fearann Hamait,
far an d' thug e breitheanas air.
10 Agus mharbh righ Bhabiloin
mic Shedeciah fa chomhair a ſhùl:
mharbh e mar an ceudna uile cheann-
ardan Iudah ann an Riblah.
11 Agus chuir e mach ſùilean She-
deciah, agus cheangail e le ſlabhruidh-
ean e; agus thug righ Bhabiloin leis
e gu Babilon, agus chuir e ann am
prioſun e gu là a bhàis.
12 Agus anns a' chùigeamh mìos,
air an deicheamh *là* do 'n mhìos, (b'i
ſin an naothamh bliadhna deug do linn
Nebuchadneſair righ Bhabiloin), thàin-
ig Nebuſar-adan ceannard an fhreic-
eadain, a fhritheil do righ Bhabiloin,
gu Ieruſalem,
13 Agus loiſg e tigh an Tighearna,
agus tigh an righ; agus uile thighean
Ieruſaleim, eadhon na h-uile tigh mòr
loiſg e le teine.
14 Agus bhris uile fheachd nan
Caldéach, a bha le ceannard an fhreic-
eadain, ballachan Ieruſaleim sìos air
gach taobh.
15 Agus *cuid* do bhochdaibh an
t-ſluaigh, agus fuigheall an t-ſluaigh a
dh' fhan anns a' chathair, agus iadſan
a chaidh thairis gu righ Bhabiloin, a-
gus a' chuid eile do 'n t 'ſluagh, thug
Nebuſar-adan ceannard an fhreiceadain
air falbh nam braighdean.
16 Ach *cuid* do bhochdaibh an
fhearainn dh' fhàg Nebuſar-adan
ceannard an fhreiceadain gu *bhi* nan
saoithrichean fhìneamhna, agus nan
treabhaichean.
17 Agus na puiſt umha [a] a bha
tigh an Tighearna, agus na buinn, a-
gus an fhairge umha a bha 'n tigh an
Tighearna, bhris na Caldéich, agus
thug iad an umha uile gu Babilon.
18 Na coireachan fòs, agus na
ſluaſaidean, agus na ſmàladairean, agus
na cuachan, agus na liadhan, agus na
h-uile ſhoithichean umha, leis an do
fhritheil iad, thug iad air falbh.
19 Agus na ſoithichean ionnlaid,
agus na h-aighnean-teine, agus na
cuachan, agus na coireachan, agus na
coinnleirean, agus na liadhan, agus na
copain, *a' chuid* a *bha do* òr *na* òr; a-
gus *a' chuid* a *bha do* airgiod *na* airgiod,
thug ceannard an fhreiceadain air
falbh.
20 An dà phoſt, an aon fhairge,
agus an dà tharbh dheug umha, a bha
fuidh na bonnaibh a rinn righ Solamh
air ſon tighe an Tighearna; cha robh
tomhas air umha nan ſoithichean ſo
uile.
21 Do thaobh nam poſt, b' e airde
gach aon phuiſt ochd làmh-choille
deug, agus dheanadh ſreang dà làmh-
choille dheug a thomhas mu 'n cuairt,
agus b'e thiuighead ceithir oirlich, fàs
a ſtigh.
22 Agus bha coron umha air, agus
b'e cùig làmh-choille airde gach aon
choroin, le lìon-obair agus ubhlaibh
granait air na coronaibh mu 'n cuairt,
an t-iomlan do umha; air a' phoſt eile
mar an ceudna bha ubhla granait
coſmhuil riu ſo.
23 Agus bha ſè-deug agus ceithir
fichead ubhla granait air aon taobh,
ceud ubhla granait air an lìon-obair
uile mu 'n cuairt.
24 Agus thug ceannard an fhreic-
eadain leis Seraiah an t-ard-ſhagart, a-
gus Sephaniah an dara ſagart, agus
na tri dorſairean.
25 Thug e fòs as a' chathair caillt-
eanach air an robh cùram nam fear-
cogaidh, agus ſeachd fir dhiubhſan a
bha dlù do phearſa an righ, a fhuar-
adh anns a' chathair, agus ard-ſgrìobh-
uiche an t-ſluaigh, a ghabh àireamh
muinntir an fhearainn, agus tri fich-
ead fear do mhuinntir an fhearainn, a
fhuaradh ann am meadhon a' bhaile;
26 Ghabh eadhon Nebuſar-adan
ceannard an fhreiceadain iad, agus
thug e iad a chum righ Bhabiloin gu
Riblah.
27 Agus bhuail righ Bhabiloin iad,
agus

[a] *phraiſe.*

agus chuir e gu bàs iad ann an Riblah, ann am fearann Hamait: mar sin thugadh Iudah air falbh ann am bruid as 'fhearann féin.

28 So an sluagh a thug Nebuchadnesar air falbh ann am bruid, anns an t-seachdamh bliadhna, tri mìle Iudhach agus tri thar fhichead.

29 Ann an ochdamh bliadhna deug Nebuchadnesair, thug e air falbh ann am bruid o Ierusalem, ochd ceud anam, agus a dhà dheug thar fhichead.

30 Ann an treas bliadhna fichead Nebuchadnesair, thug Nebusar-adan ceannard an fhreiceadain air falbh ann am bruid do na h-Iudhaich seachd ceud dà fhichead agus cùig anam: b' iad na h-anaman uile ceithir mìle agus sè ceud.

31 Agus tharladh anns an t-seachdamh bliadhna deug thar fhichead do bhraighdeanas Iehoiacim righ Iudah, anns an dara mìos deug, air a' chùigeamh *là* fichead do 'n mhìos, gu 'n do thog Ebhil-merodach righ Bhabiloin, anns a' cheud bhliadhna d' a linn, suas ceann Iehoiacim righ Iudah, agus thug e mach a prìosun e,

32 Agus labhair e gu caomhail ris, agus chuir e a chaithir os cionn chathracha nan righrean a bha leis ann am Babilon.

33 Agus dh' atharruich e a chulaidh-phrìosuin: agus dh' ith e aran na fhianuis do ghnàth, fad uile laithean a bheatha.

34 Agus air son a lòin lathail, thugadh dha o righ Bhabiloin, gach aon latha cuibhrionn, gu là a bhàis, fad uile laithean a bheatha.

TUIREADH

TUIREADH IEREMIAH.

C A I B. I.

CIA uaigneach a ta i na ſuidhe, a' chathair a bha làn do dhaoine! cionnus a dh' fhàs i mar bhantraich! Iſe bha mòr am measg nan cinneach, agus na h-uachdaran am measg nan dùchanna, cionnus a ta i air teachd fuidh chìs!

2 Tha i ri gul gu geur anns an oidhche, agus a deoir air a gruaidhean; fear comhfhurtachd air bith cha 'n 'eil aice a measg a h-uile luchd-gaoil; bhuin a cairdean uile gu feallt-ach rithe, dh' fhàs iad nan naimhdean d' i.

3 Dh' imich Iudah air falbh ann am braighdeanas; ann an an-ſhocair, agus ann an daorſa mhòr tha i chòmhnuidh am measg nan cinneach, cha 'n 'eil i faotuinn ſuaimhneis air bith; rug a luchd-ruagaidh uil' oirre [a] eadar na cunglaichean.

4 Tha ròidean Shioin ri bròn, a chionn nach 'eil aon neach a' teachd a chum na h-ard-fhéille; tha a geat-achan uile fàs; tha a ſagairt ag a-cain; tha a h-òighean fuidh leòn, agus tha i féin ann an ſearbhadas.

5 Is iad a h-eaſcairdean a tha 'n uachdar, tha a naimhdean a' ſoirbh-eachadh; oir leòn an Tighearn i, air ſon lionmhoireachd a lochdan; dh' fhalbh a clann am braighdeanas fa chomhair an nàmhaid.

6 Agus dhealuich a ſgèimh uile ri nighinn Shioin; tha a prionnſachan air fàs mar fhéidh nach 'eil a' faotuinn ionaltraidh; agus dh' imich iad gun neart roimh an fhear-ruaige.

7 Chuimhnich Ierusalem ann an latha a h-amhghair, agus a truaighe, air a h-uile nithibh ſòlaſach a bha aice anns na laithibh o ſhean; an tra thuit a daoine ann an làimh an nàmhaid, agus nach d' rinn neach a cuid-eachadh; chunnaic na naimhdean, agus rinn iad fanaid air a ſàbaidibh.

8 Pheacaich Ierusalem gu trom; air an aobhar ſin tha i air a h-athar-rachadh: iadſan uile thug urram di, tha iad ri tàir oirre, chionn gu fac' iad a lomnochdaiche; ſeadh, tha iſe ri caoidh, agus a' tionndadh air a h-ais.

9 Bha a ſalchar na ſgiortaibh, cha robh i cuimhneach air a crìch dheir-eannaich; uime ſin thugadh i nuas gu h-iongantach; cha 'n 'eil fear-comh-fhurtachd aice: amhairc, O Thigh-earn, air m' amhghar, oir mheudaich an nàmhaid *e féin.*

10 Shìn an nàmhaid a mach a làmh air a h-uile nithibh taitneach; gu deimhin chunnaic i cinnich a' dol a ſteach d' a h-ionad naomh, do 'n d' àithn thuſa nach rachadh iad a ſteach do d' choimhthional.

11 Tha a ſluagh uile ag oſnaich; tha iad ag iarruidh arain; thug iad an nithe luachmhor air ſon lòin, a chumail beo an anama: feuch, O Thighearn, agus thoir fainèar, mar a ta mi air fàs iuarrach.

12 O ſibhs' uile tha gabhail an rathaid, amhaircibh agus faicibh am bheil bròn ſam bith coſmhuil ri mo bhròn-ſa a thugadh orm, o 'n uair an d' rinn

[a] *orra.*

d' rinn an Tighearn mo ſmachdachadh
ann an là a dhian fheirge.
13 Chuir e teine a nuas, agus thug
e air dol a ſteach do m' chnàmhaibh;
ſgaoil e lìon air ſon mo chas; phill e
mi air m' ais: rinn e fàs mi, fad an là
ri caoidh.
14 Tha a chuing air a ceangal;
tha mo lochdan air an ſnìomh le a
làimh, tha iad air an càradh mu 'm
mhuineal; thug e air mo threiſe
tuiteam, thug an Tighearn thairis mi
d' an làmhan, cha 'n urradh mi éirigh
ſuas.
15 Shaltair an Tighearn fo chois
m' uile dhaoine cumhachdach ann am
mheadhon: ghairm e coimhthional a'
m' aghaidh a bhruthadh mo dhaoine
òga; mar ann an amar-bruthaidh
fíona, bhruth an Tighearn òigh, nigh-
ean Iudah.
16 Air ſon nan nithe ſo guileam,
tha mo ſhùil, mo ſhùil a ſileadh ſìos
le h-uiſge; chionn gu bheil am fear-
comhfhurtachd, a bheireadh fuaſgladh
do m' anam, fada uam: tha mo chlann
uaigneach, a chionn gu 'n d' thug an
nàmhaid buaidh.
17 Tha Sion a' ſgaoileadh a mach
a làmh, cha 'n 'eil neach ann a thoirt
d'i comhfhurtachd; dh' àithn an
Tighearn do thaobh Iacoib, a naimhd-
ean a bhi air gach taobh mu 'n cuairt
da; tha Ieruſalem nam meaſg mar
aon a chuireadh air leth air ſon neo-
ghloine.
18 Is ceart an Tighearn, oir chath-
aich mis' an aghaidh 'àitheantan;
éiſdibh, guidheam oirbh, a ſhlòigh gu
léir, agus faicibh mo bhròn: m' òigh-
ean agus m' òganaich dh' fhalbh ann
am braighdeanas.
19 Ghairm mi air mo leannain,
ach mheall iad mi; thug mo ſhagairt
agus mo ſheanairean ſuas an deò anns
a' chathair, am feadh a dh' iarr iad
am biadh gu cobhair air an anam.
20 Feuch, O Thighearn, mar a ta
mi ann an teinn; tha mo chom fuidh
th'ioblaid, tha mo chridhe air tionnd-
adh an taobh a ſtigh dhiom; oir
chiontaich mi gu trom: a muigh tha
claidheamh a' ſgrios, a ſtigh tha amh-
uil bàs.
21 Chual iad mar a rinn mi acain,
ach cha 'n 'eil neach a thoirt dhomh
comhfhurtachd; chuala mo naimhd-
ean uile m' amhghar; rinn iad gaird-
eachas a chionn gu 'n d' rinn thuſa *ſin:*
bheir thus' an là a ghairm thu, agus
bidh iadſan coſmhuil riumſa.
22 Thigeadh an aingidheachd uile
fà d' chomhair; agus dean riu, mar a
rinn thu riumſa air ſon m' uile lochd-
an: oir tha m' oſnaidhean lìonmhor,
agus mo chridhe lag.

C A I B. II.

CHONNUS a tharruing an Tigh-
earn na chorruich neul air
nighinn Shioin! *agus* a thilg e ſìos o
nèamh gu talamh maiſe Iſraeil! agus
cha do chuimhnich e ſtòl a choiſe ann
an latha 'fheirge!
2 Shluig an Tighearn ſuas uil'
àiteacha-còmhnuidh Iacoib, agus cha
do ghabh e truas: thilg e ſìos na
chorruich daingnichean làidir nighinn
Iudah: thug e nuas gu làr iad, thruaill
e an rioghachd agus a daoine urram-
ach.
3 Ghearr e as na dhian-fheirg adharc
Iſraeil uile: tharruing e air a h-ais a
làmh dheas o aghaidh an nàmhaid;
agus loiſg e 'n aghaidh Iacoib mar
theine laſrach a loiſgeas air gach
taobh.
4 Lùb e 'bhogha mar nàmhaid;
thog e 'n aird a làmh dheas mar eaſ-
caraid, agus mharbh e na h-uile
òganach a bha taitneach do 'n t-ſùil;
ann am pàilliunn nighinn Shioin thaom
e mach a chorruich mar theine.
5 Bha an Tighearn mar nàmhaid:
ſhluig e ſuas Iſrael, ſhluig e ſuas
'àrois uile; ſgrios e a dhaingnichean
làidir, agus mheudaich e ann an nigh-
inn Iudah bròn agus caoidh.
6 Agus ſgaoil e as a' chéile a phàill-
iunn mar challaid; ſgrios e a choimh-
thional féin: leig an Tighearn as 'aire
ann an Sion an ard-fhéill agus an t-
ſàbaid; agus rinn e tàir, ann an teas a
chorruich, air an righ agus air an
t-ſagart.
7 Chuir an Tighearn air cùl 'alt-
air, ghabh e gràin d' a naomh-ionad
thug e ſuas ballachan a h-àrois do
làimh

làimh an eas-caraid; rinn iad gàir ann an tigh an Tighearna, mar ann an là ard-fhéille.

8 Tha an Tighearn fa rùn ballachan nighinn Shioin a mhilleadh; shìn e mach sreang, cha do chum e a làmh o mhilleadh: ach thug e air an daingneach agus air a' bhalla caoidh; shearg iad as le chéile.

9 Tha a geatachan air dol sìos anns an talamh; mhill agus bhris e a cruinndhruididh; tha a righrean agus a h-uachdarain am measg nan cinneach; an lagh cha 'n 'eil ann; aig a fàidhean fòs cha 'n 'eil sealladh air bith o 'n Tighearn.

10 Tha seanairean nighinn Shioin nan suidhe air an làr, tha iad nan tosd; chuir iad duslach air an ceann; chriosluich iad iad féin le sac-éideadh: tha òighean Ierusaleim a' cromadh sìos an cinn gu làr.

11 Tha mo shùilean air fàilneachadh le deuraibh; tha mo chom fo thrioblaid; dhòirteadh mo sgamhan air an talamh air son léir-sgrios nighinn mo shluaigh; a chionn gu bheil a' chlann bheag agus na naoidheana a' fannachadh ann an sràidibh na cathrach.

12 Ri 'm màithrichibh a deir iad, C' àit am bheil arbhar agus fion? an tra tha iad a' fàilneachadh mar dhaoine leònta ann an sràidibh a' bhaile, tra tha an anam air a dhòrtadh a mach ann an uchd am màthar.

13 Ciod a thairngeas mi mar fhianuis a' d' aghaidh? ciod an ni a shàmhlaicheas mi riut, O nighean Ierusaleim? ciod a choimeasas mi riut, a chum gu 'n dthugainn comhfhurtachd dhuit, O òigh-nighean Shioin? oir tha do bhriseadh mòr mar an fhairge; cò dh' fheudas do leigheas?

14 Chunnaic d' fhàidhean nithe dìomhain agus amaideach air do shon, agus cha do leig iad ris d' eacceart, a chum do bhruid a philleadh air a h-ais; ach chunnaic iad air do shon fàisneachd neo-fhìrinneach, agus aobhar fògraidh.

15 Tha mheud as a ta gabhail seachad a' bualadh am bas riut: tha iad ri sgeig-fhiacal, agus a' crathadh an cinn ri nighinn Ierusaleim, *ag ràdh*, An i so a' chathair-ri 'n goirear, Foirfeachd maise, Aoibhneas an domhain uile?

16 Dh' fhosgail do naimhdean uile am beul a' d' aghaidh: rinn iad sgeig is gìosgan fhiacla; thubhairt iad, Shluig sinn suas i; gu cinnteach is e so an là ri 'n robh ar sùil: fhuair sinn e, chunnaic sinn e.

17 Rinn an Tighearn an ni sin a dhealbh e; choimhlion e 'fhocal, a dh' àithn e anns na laithibh o shean: thilg e sìos, agus cha do ghabh e truas; ach thug e air nàmhaid gairdeachas a dheanamh tharad, dh' ardaich e adharc do naimhdean.

18 Dh' éigh an cridhe, Ann an làthair an Tighearna, O a nighean Shioin, sileadh deoir sìos mar shruth a latha agus a dh' oidhche: na dthoir dhuit féin suaimhneas air bith, na gabhadh cloch do shùl fois.

19 Eirich, glaodh gu h-ard anns an oidhche: ann an tùs na faire dòirt a mach do chridhe mar uisge fa chomhair gnùise Iehobhah: tog suas do làmhan d' a ionnsuidh, air son anama do chloinne òige, ta fàilneachadh le h-acras aig ceann gach aon sràide.

20 Feuch, O Thighearn, agus thoir fainear cò ris a bhuin thu mar so: an ith na mnathan toradh na bronn, naoidheana maotha? am marbhar an sagart agus am fàidh ann an ionad naomh an Tighearna?

21 Luidh an t-òg agus an sean air an làr anns na sràidibh; tha m' òighean agus m' òganaich air tuiteam leis a' chlaidheamh; mharbh thu *iad* ann an latha do chorruich; mharbh thu, agus cha do ghabh thu truas.

22 Ghairm thu, mar air là suidhichte, m' uamhasan air gach taobh, air chor as, air là feirge an Tighearna, nach robh neach ann a chaidh as, no mhair beo: a' mhuinntir a dh' oil agus a dh' àirich mi, chuir mo nàmhaid as doibh.

CAIB. III.

IS mise an duine a chunnaic amhghar le slait a chorruich.

2 Stiuir e mi, agus thug e orm

gluasad

gluasad ann an dorchadas, agus ni
h-ann an solus.
3 Gu cinnteach a' m' aghaidh sa
phill e; tha e pilleadh a làimhe air a
h-ais *ann am aghaidh* feadh an là gu
h-iomlan.
4 M' fheoil agus mo chraicionn
rinn e sean, bhris e mo chnàmhan.
5 Thog e ann am aghaidh, agus
chuairtich e mi le domblas agus le
saothair.
6 Chuir e mi chòmhnuidh ann an
ionadaibh dorcha, mar iadsan a ta cian
marbh.
7 Chuairtich e mi le gàradh air
gach taobh, air chor as nach feud mi
teachd a mach, rinn e mo shlabhraidh
trom.
8 Mar an ceudna, tra ghlaodhas a-
gus a dh' éigheas mi, tha e druideadh
a mach m' urnuigh.
9 Dhruid e suas mo shlighe le clach-
aibh snaighte: rinn e cam mo cheumà.
10 Mar mhath-ghamhuinn a' luidhe
'm folach bha e dhomh, *mar* leòmhann
ann an ionadaibh uaigneach.
11 Rinn e mo shlighe fiar, agus
reub e mi am bloighdibh: rinn e mi
a' m' aonaran.
12 Lùb e 'bhogha, agus chuir e
mise mar chomhara air son na saighde.
13 Thug e air saighdibh a dhor-
laich dol a steach ann am airnibh.
14 Bha mi ann am chùis-mhagaidh
do mo shluagh uile, ann am òran
doibh fad an là.
15 Lìon e mi le searbhadas, chuir
e air mhisg mi le searbh-luibhean.
16 Bhris e m' fhiacla fòs le clach-
aibh gainmhiche, chòmhdaich e mi le
luaithre.
17 Agus dh' atharruich thu m' an-
am am fad o shìth; dhi-chuimhnich
mi soirbheachadh.
18 Agus thubhairt mi, Tha mo
spionnadh agus mo dhòchas air bàs-
achadh o 'n Tighearn.
19 Tha cuimhneachadh air m'
amhghair agus mo thruaighe, na
shearbhadas agus na dhomblas.
20 Tha m' anam fathasd 'g an
cuimhneachadh, agus air irisleachadh
an taobh a stigh dhìom.
21 Tha mi gairm so a rìs gu m'
aire; uime sin tha dòchas agam.
22 Is ann do thròcairibh an Tigh-
earna nach 'eil sinn air ar caitheadh,
a chionn nach 'eil fàilinn air a thrò-
cairibh.
23 Tha iad nuadh gach aon mhad-
uinn, is mòr do dhilseachd [a]!
24 Is e an Tighearn mo chuibh-
rionn, deir m' anam; uime sin cuir-
idh mi mo dhòchas ann.
25 Is maith an Tighearn dhoibhsan
a dh' fheitheas air, do 'n anam a dh'
iarras e.
26 Is maith bhi ann an dòchas, a-
gus feitheamh gu fòil ri slàinte an
Tighearna.
27 Is maith do dhuine a' chuing a
ghiùlan na òige;
28 Suidhidh e na aonar, agus bidh
e na thosd, a chionn gu 'n d' rinn e a
giùlan.
29 Cuiridh e 'bheul anns an duslach,
ma 's teagamh gu 'm bi dòchas ann.
30 Bheir e a ghial do 'n ti bhuail-
eas e, bidh e air a lìonadh làn do
mhasladh.
31 Oir cha tilg an Tighearn uaith
gu bràth;
32 Ach ged bheir e aobhar bròin,
gidheadh ni e iochd do réir lìon-
mhoireachd a thròcairean.
33 Oir cha chlaoidh e d' a dheoin,
ni mò chràidheas e clann nan daoine.
34 Prìosunaich na talmhainn uile a
bhruthadh f 'a chasaibh,
35 Còir duine thionndadh a leth-
taobh, fa chomhair gnùise an Ti a 's
airde,
36 Eucoir a dheanamh air duine na
chùis, cha taitneach leis an Tighearn.
37 Cò esan a their, agus gu 'n dthig
e gu crìch, an uair nach àithn an
Tighearn?
38 Nach ann o ordugh an Ti a's
ro-airde a thig olc agus maith?
39 C' uim' an dean duine beo gear-
an, duine air son *smachdachaidh* a pheac-
aidh.
40 Rannsuicheamaid agus dearbh-
amaid ar sligheacha, agus pilleamaid a
rìs a dh' ionnsuidh an Tighearna.
41 Togamaid suas ar cridhe maille
ri 'n

[a] *tairisneachd.*

ri 'r lâmhan ri Dia anns na nèamh-
aibh.
42 Pheacaich sinne agus rinn sinn
ar a mach, agus cha do mhaith thusa.
43 Chuairtich thu le fèirg, agus
gheur-lean thu sinn; mharbh thu,
cha do ghabh thu truas.
44 Chòmhdaich thu thu féin le
neul, ionnus nach rachadh urnuigh
troimhe [a].
45 Rinn thu sinn 'nar salchar agus
'nar diù ann am measg an t-sluaigh.
46 Dh' fhosgail ar naimhdean uile
am beul 'nar n-aghaidh.
47 Thàinig eagal agus rib oirnn,
fàsalachd agus milleadh.
48 Tha mo shùil a' sileadh sìos le
sruthaibh uisge air son léir-sgrios
nighinne mo shluaigh.
49 Tha mo shùil a' sileadh sìos gun
chasgadh agus gun sgur:
50 Gus an seall an Tighearn a nuas,
agus gu 'n amhairc e o nèamh.
51 Tha mo shùil a' cur doilgheis
air mo chridhe, air son uile nigheana
mo chathrach.
52 Ruaig mo naimhdean mi gu
geur, mar eun gun aobhar.
53 Ghearr iad as m'anam anns a'
phrìosun, agus chuir iad clach tharam.
54 Chaidh uisgeachan thar mo
cheann mar thuil; thubhairt mi, Tha
mi air mo ghearradh as.
55 Ghairm mi air d' ainmse, O
Thighearn as an t-slochd ìochdrach.
56 Chuala tu mo ghuth, na cum do
chluas o m' achuinge agus o mo
ghlaodh.
57 Tharruing thu 'm fagus anns an
là san do ghairm mi ort: thubhairt
thu, Na biodh eagal ort.
58 Thagair thusa, O Thighearn,
cùisean m' anama, shaor thu mo
bheatha.
59 Chunnaic thusa, O Tighearn,
m' amhghar; cum thusa còir rium.
60 Chunnaic thu an uile dhiogh-
altas, an uile innleachdan ann am
aghaidh.
61 Chuala tu am masladh, O Thigh-
earn, an uile innleachdan ann am
aghaidh;
62 Bile na muinntir a dh' éirich
suas a' m' aghaidh, agus am borbhan-
aich ann am aghaidh fad an là.
63 Feuch an suidhe sìos agus an
éirigh suas; is mise an ceòl.
64 Bheir thusa luigheachd dhoibh,
O Thighearn, do réir oibre an làmh.
65 Bheir thu doilghios cridhe
dhoibh; ni thu am mallachadh.
66 Ruaigidh tu ann am feirg, agus
sgriosaidh tu iad o bhi fuidh nèamha
an Tighearna.

CAIB. IV.

CIONNUS a thàinig smal air an
òr! a chaochail an t-òr ro-
fhìnealta! tha clachan an naomh-
ionaid air an tilgeadh a mach air
mullach gach aon sràide!
2 Mic luachmhor Shioin, a dh'
fheudta choimeas ri òr fìnealta, cion-
nas a mheasar iad mar shoithichean
creadha, obair a' chreadhadair!
3 Tairngidh eadhon na dragoin a
mach am brollach, bheir iad a' chìoch
d' an àlach: tha nighean mo shluaigh-
sa an-iochdmhor, mar na h-oistrice
san fhàsach.
4 Tha teanga naoidhein na cìche
a' leantuinn r' a ghial le tart: tha
chlann òg ag iarruidh arain; cha 'n
'eil aon 'ga bhriseadh dhoibh.
5 Tha iadsan aig an robh biadh
sòghail nan aonaraibh anns na sràidibh;
iadsan a thogadh suas ann an scarlaid,
tha iad a' tilleadh an làmh mu 'n
òtrach.
6 Seadh tha peanas aingidheachd
nighinne mo shluaigh-sa ni 's mò na
peanas peacaidh Shodoim, a thilgeadh
bun os cionn ri tiota, agus air nach
d' thàinig laigse làmh.
7 Bha a Nasaraich ni bu ghlainne
na sneachda; bu ghile iad na bainne;
bu deirge iad sa' chorp na ruiteachain;
bha an dreach mar shaphir.
8 Is duibhe an gnùis na gual; cha 'n
aithnichear iad anns na sràidibh; tha
an craiciońn a leantuinn ri 'n cnàmh-
an; tha e air tiormachadh; tha e air
fàs mar mhaide.
9 Is fearr dhoibhsan a mharbhar
leis a' chlaidheamh na dhoibhsan a
mharbhar le gort; oir tha iad sin a'
feargadh

[a] *troimhe, teid.*

feargadh as, air an lotadh dh' uireasbhuidh toraidh na machrach.

10 Bhruich làmha nam ban iochdmhor an clann féin; b' iad am biadh, ann an léir-sgrios nighinne mo shluaigh.

11 Choimhlion an Tighearn a chorruich, thaom e mach a dhian-fhearg, agus las e teine ann an Sion, agus loisg e sin a bunaite.

12 Cha chreideadh righre na talmhainn, no uile luchd-àiteachaidh an domhain, gu 'n rachadh an t-eas-caraid agus an nàmhaid a steach air geatachan Ierusaleim.

13 Air son pheacanna a fàidhean, agus aingidheachdan a sagart, a dhòirt fuil nam firean na meadhon;

14 Chaidh iad air seachran mar dhaoine dall anns na sràidibh, shaluich iad iad féin le fuil, air chor as nach feudadh daoine buntainn ri 'n eudach.

15 Imichibh, tha sibh neo-ghlan, thuirt daoine riu; imichibh, imichibh, na beanaibh: seadh, theich iad, dh' fhalbh iad; thubhairt iad am measg nan cinneach, Cha ghabh iad còmhnuidh an so ni's mò.

16 Rinn fearg an Tighearna an sgaoileadh, cha chuir e ni 's mò ann an suim iad: cha robh meas ac' air pearsannaibh nan sagart; ris na seanairibh cha do chum iad bàigh.

17 Am feadh a bha sinn ann, dh' fhàilnich ar súilean ag amharc ri cobhair dhìomhain: am feadh a rinn sinn faire, bha ar sùil ri cinneach nach b' urradh tearnadh.

18 Lorgaich iad ar ceuma, air chor as nach feudamaid imeachd 'nar sràidibh: tha ar crìoch dlù, tha ar laithean air an coimhlionadh, seadh, thàinig ar crìoch.

19 Bu luaithe ar luchd-leanmhuinn na iolairean nèimhe; ruaig iad sinn air na sléibhtibh, luidh iad am folach air ar son anns an fhàsach.

20 Ghlacadh nan slochdaibh anail ar cuinneana, ti ungta an Tighearna, mu 'n d' thubhairt sinn, Fuidh a sgàile mairidh sinn beo am measg nan cinneach.

21 Dean gairdeachas, agus bi ait, O nighean Edoim, aig am bheil do chòmhnuidh ann am fearann Uis; théid an cupan thairis fòs chugadsa; bithidh tu air mhisg, agus leigidh tu ris do lomnochduich.

22 Tha peanas d' ea-ceirt air a choimhlionadh, O nighean Shioin, cha dthoir e ni 's mò air falbh ann am bruid thu: smachdaichidh e d' eaceart-sa, O nighean Edoim, leigidh e ris do lochdan.

C A I B. V.

CUIMHNICH, O Thighearn, ciod a thàinig oirnn: thoir fainear, agus faic ar masladh.

2 Thugadh thairis ar n-oighreachd gu coimhich, ar tighean gu coigrich.

3 Tha sinn 'n ar dìlleachdain, agus gun athair, ar màithrichean mar bhantraichibh.

4 Dh' òl sinn ar n-uisge air son airgid, tha ar coille air a reic ruinn.

5 Le cuing ar muineil tha sinn air ar sìor-leòn; tha sinn a' saoithreachadh, agus gun fhois againn.

6 Thug sinn an làmh do na h-Eiphitich, *agus* do na h-Asirianaich, a chum bhi air ar sàsuchadh le h-aran.

7 Pheacaich ar n-aithrichean, agus cha 'n 'eil iad ann, agus ghiùlain sinne an ea-ceartan.

8 Bha seirbhisich nan uachdarain oirnn: cha 'n 'eil duine sam bith ann a shaoras o 'n làmhan.

9 Fhuair sinn ar n-aran le *cunthart* ar n-anama, do bhrìgh claidheimh an fhàsaich.

10 Bha ar craicionn dubh mar àmhuinn, do bhrìgh na gorta uamhasaich.

11 Dh' éignich iad na mnathan ann an Sion, na maighdeanan ann an caithrichibh Iudah.

12 Bha prionnsachan air an crochadh suas le 'n làimh: cha d' thug iad urram do aghaidh nan aosda.

13 Ghabh iad na h-òganaich gu meileadh, agus thuit a' chlann fuidh 'n chonnadh.

14 Thréig na seanairean an geata, na h-òganaich an ceòl.

15 Sguir aoibhneas ar cridhe, chaochail ar dannsadh gu bròn.

16 Thuit an coron [a] bharr ar cinn:

mo

[a] crùn.

mo thruaighe sinne chionn gu 'n do
pheacaich sinn.
17 Air son so tha ar cridhe lag, air
son nan nithe so tha ar súilean air an
dorchachadh [a].
18 Air son sléibh Shioin a ta fàs;
tha na sionnaich a' coiseachd air.
19 Ach tha thusa, O Thighearn,
maireanach gu siorruidh; do chaithir
rioghail o linn gu linn.
20 C' uim' an dean thu dearmad
oirnn gu bràth, agus am bheil thu 'g
ar tréigsinn ùine co fhada?
21 Pill sinne chugad, O Thighearn,
agus bithidh sinn air ar pilleadh: ath-
nuadhaich ar laithean mar o shean.
22 Oir thilg thu sinn cian fada uait;
bha thu ro-fheargach 'nar n-aghaidh.

[a] *lag-radharcach.*

ESECIEL

CAIB. I.

AGUS tharladh, anns an deich-
eamh bliadhna ſichead, anns a'
cheathramh *mios*, air a' chùigeamh *là*
do 'n mhìos, (air dhomhſa bhi meaſg
nam braighdean aig abhainn Chebair),
gu 'n d' fhoſgladh na nèamha, agus
chunnaic mi taiſbeana Dhé.
2 Air a' chùigeamh *là* do 'n mhìos,
(b'i ſin an cùigeamh bliadhna do
bhruid righ Iehoiacin,)
3 Thàinig focal an Tighearna gu
Eſeciel an ſagart, mac Bhuſi, ann an
tìr nan Caldéach, aig uiſge Chebair,
agus bha làmh an Tighearna air anns
an àite ſin.
4 Agus dh' amhairc mi, agus feuch,
ghiùlain ioma-ghaoth o 'n airde-tuath,
neul mòr a bha air a chuairteachadh
le filltean teine, agus dealradh air gach
taobh dheth; agus na mheadhon bha
amhuil dreach òmair, eadhon ann am
meadhon an teine.
5 Agus mach as a mheadhon mar
an ceudna *thàinig* coſlas cheithir ain-
mhidhean, agus b' e ſo an aogus;
Bha iad ann am meudachd duine,
6 Agus bha ceithir aghaidhean aig
gach aon diubh, agus ceithir ſgiathan
aig gach aon diubh.
7 Agus bha an caſan dìreach, agus
bha bonn an cas mar bhonn coiſe
laoigh, agus loinnrich iad mar dhath
praiſe lìomhta.
8 Agus bha làmhan duine fuidh
an ſgiathaibh, air an ceithir taobha,
agus bha aig a' cheithir an aghaidh-
ean agus an ſgiathan.
9 Bha an ſgiathan dlùthaichte, gach
aon r' a chéile; cha do thionndaidh
iad 'nuair a ghluais iad, chaidh iad air
an aghaidh, gach aon dìreach roimhe.
10 Air ſon coſlais an aghaidhean,
bha aca nan ceathrar aghaidh duine,
agus aghaidh leòmhainn air an taobh
deas, agus bha aca nan ceathrar aghaidh
daimh air an làimh chlì: bha fòs aca
nan ceathrar aghaidh iolarach.
11 B' amhuil ſo an aghaidhean;
agus an ſgiathan ſgaoilte gu h-ard;
dithis aig gach aon, dlùthaichte r' a
chéile, agus dithis a' folach an cuirp.
12 Agus dh' imich iad, gach aon
dìreach air aghaidh: far an robh an
ſpiorad air tì dol, dh' imich iad: cha do
thionndaidh iad 'nuair a dh' imich iad.
13 Do thaobh coſlais nan ain-
mhidh, bha an aogus mar eibhle dearga
teine, coſmhuil ri lòchran, a chaidh
air ais agus air aghaidh am meaſg nan
ainmhidhean: agus bha 'n teine deal-
reach; agus as an teine thàinig a mach
dealanach.
14 Agus ruith na h-ainmhidhean,
agus phill iad, mar phlath dealan-
aich.
15 A nis am feadh a bha mi ſeall-
tuinn air na h-ainmhidhean, feuch, aon
roth air an talamh, làimh ris na h-
ainmhidhean, aig an ceithir aghaidh-
ean.
16 Bha dreach nan rothan agus an
obair mar dhreach crioſtail; agus bha
'n aon choſlas aig a' cheithir, agus
bha an aogus agus an obair mar gu
'm biodh ann roth ann am meadhon
rotha.
17 Nan imeachd dh' imich iad air

an

an ceithir taobha: cha do thionndaidh
iad 'nuair a dh' imich iad.
18 Do thaobh an cearcal, bha iad
co ard as gu 'm b' uamhasach iad; agus
bha an cearcail làn do shùilibh mu 'n
cuairt doibh nan ceathrar.
19 Agus an uair a ghluais na h-
ainmhidhean, ghluais na rothan làimh
riu: agus an uair a thogadh na h-ain-
mhidhean suas o 'n talamh, thogadh
na rothan.
20 C' àit air bith a bha 'n spiorad
air ti dol, dh' imich iadsan an taobh a
bha 'n spiorad air ti dol, agus thogadh
suas na rothan fa 'n comhair; oir bha
spiorad an ainmhidh[a] anns na roth-
aibh.
21 'Nuair a ghluais iad sin, ghluais
[iad so], agus 'nuair a sheas iad sin,
sheas [iad so], agus 'nuair a thogadh iad
sin suas o 'n talamh, thogadh na rothan
suas fa 'n comhair; oir bha spiorad
an ainmhidh anns na rothaibh.
22 Agus bha aogus an speur a bha
thar cinn an ainmhidh mar dhreach
criostail uamhasaich, air a sgaoileadh
thar an cinn gu h-ard.
23 Agus fuidh an speur bha an
sgiathan gu dìreach, gach aon fa
chomhair a' chéile; aig gach aon bha
dithis, a dh' fholuich air an taobh so,
's aig gach aon bha dithis a dh' fhol-
uich air an taobh sin, an cuirp.
24 Agus chuala mi fuaim an
sgiathan, mar thoirm mhòran uisg-
eacha, mar ghuth an Uile-chumhachd-
aich; an uair a ghluais iad, chluinn-
teadh fuaim mar thorman sluaigh; tra
sheas iad, leig iad sìos an sgiathan.
25 Agus bha guth o 'n speur, a
bha thar an cinn, tra sheas iad, *agus*
a leig iad sìos an sgiathan.
26 Agus os cionn an speur, a bha
thar an cinn, bha sàmhla righ-chathr-
ach, mar choslas cloiche sapheir; agus
air sàmhla na righ-chathrach, bha
taisbean mar gu 'm biodh coslas duine
na shuidhe air.
27 Agus chunnaic mi mar dhreach
òmair, mar choslas teine air gach taobh
a stigh ann: o thaisbeanadh a leas-
raidh, agus os a chionn, agus o thaisb-
eanadh a leasraidh agus fuidhe, chun-
naic mi mar gu 'm biodh ann coslas
teine, agus e dealrach mu 'n cuairt.
28 Mar choslas a' bhogha ta san
neul ann an là na froise, b' amhuil
dreach an dealraidh mu 'n cuairt. B'
e so foillseachadh sàmhlaidh glòire an
Tighearna; agus 'nuair a chunnaic
mise, thuit mi air m' aghaidh, agus
chuala mi guth aon a' labhairt.

CAIB. II.

AGUS thubhairt e rium, A mhic
an duine, seas air do chasaibh,
agus labhraidh mise riut.
2 Agus chaidh an spiorad a steach
annam an uair a labhair e rium, agus
chuir e air mo chasaibh mi, ionnus gu
'n cuala mi an ti a labhair rium.
3 Agus thuirt e rium, A mhic an
duine, tha mise ga d' chur gu cloinn
Israeil, gu cinneach ceannairceach a
rinn ar a mach ann am aghaidh;
chiontaich iad féin agus an aithrich-
ean ann am aghaidh, gus an là an
diugh.
4 Oir is clann mhi-nàrach agus
chruaidh-chridheach iad: tha mise ga
d' chur d' an ionnsuidh, agus their thu
riu, Mar so deir an Tighearn Dia.
5 Agus iadsan, ma dh' éisdeas iad,
no ma dhearmaideas iad, (oir is tigh
ceannairceach iad,) gidheadh bidh fios
aca gu robh fàidh nam measg.
6 Agus thusa, a mhic an duine, na
biodh eagal ort rompa, agus na biodh
fiamh ort roimh an briathraibh, ged
tha dreasan agus droighionn mu 'n
cuairt duit, agus do chòmhnuidh ann
am measg nathraichean nimhe: na
biodh eagal ort roimh am briathraibh,
ni mò bhios geilt ort roimh an gnùis,
ged is tigh ceannairceach iad.
7 Agus labhraidh tu mo bhriathra-
sa riu, co ac' a dh' éisdeas iad, no
dhearmaideas iad, oir tha iad ro
cheannairceach.
8 Ach thusa, a mhic an duine,
cluinn ciod a deir mise riut, Na bi
thusa eas-umhal, cosmhuil ris an tigh
eas-umhal sin: fosgail do bheul, agus
ith an ni bheir mise dhuit.
9 Agus nuair a dh' amhairc mi,
feuch, bha làmh air a cur do m' ionn-
suidh,

[a] *na beatha.*

suidh, agus feuch, bha rola leabhair innte.

10 *Agus sgaoil e sa m' choinneamh e, agus bha e sgrìobhta stigh agus a mach: agus bha sgrìobhta ann tuir-eadh, agus bròn, agus truaighe.*

CAIB. III.

OS barr thuirt e rium, A mhic an duine, ith an ni gheibh thu; ith an rola so, agus falbh, labhair ri tigh Israeil.

2 Mar sin dh' fhosgail mi mo bheul, agus thug e orm an rola sin itheadh.

3 Agus thuirt e rium, A mhic an duine, thoir air do bhroinn itheadh, agus lìon do chom leis an rola so a bheireamsa dhuit. An sin dh' ith mi, agus bha e ann mo bheul mar mhil air mhillsead.

4 Agus thuirt e rium, A mhic an duine, falbh, imich gu tigh Israeil, agus labhair le m' bhriathraibh-sa riu.

5 Oir cha 'n 'eil thu air do chur gu sluagh aig am bheil teanga choimh-each, agus cainnt chruaidh, *ach* gu tigh Israeil.

6 Cha 'n ann gu mòran sluaigh, aig am bheil teanga choimheach, agus cainnt chruaidh, nach urradh thu 'm briathran a thuigsinn: gu cinnteach nan cuirinn do 'n ionnsuidh-san thu, dh' éisdeadh iad ruit.

7 Ach cha 'n éisd tigh Israeil riut, oir cha 'n éisd iad riumsa; oir tha tigh Israeil uile mi-nàrach agus cruaidh-chridheach.

8 Feuch rinn mi do ghnùis làidir an aghaidh an gnùise-san, agus d' ead-ann làidir an aghaidh an eudainn-san.

9 Mar adamant, ni 's cruaidhe na clach theine, rinn mise d' eudann; na biodh eagal ort rompa, agus na biodh sgàth ort roimh an gnùis, ged tha iad nan tigh ceannairceach.

10 Os barr thuirt e rium, A mhic an duine, gabh ann ad chridhe m' uile bhriathra-sa, a labhras mi riut, agus éisd le d' chluasaibh.

11 Agus falbh, imich dh' ionnsuidh na muinntir a ta ann am bruid, gu cloinn do shluaigh, agus labhair riu, agus innis doibh, Mar so deir an Tighearn Dia, co ac' a dh' éisdeas iad, no nach éisd.

12 An sin thog an spiorad suas mi, agus chuala mi air mo dhéigh guth tormain mhòir, *ag ràdh*, Beannuichte gu robh glòir an Tighearna o 'àite féin.

13 *Chuala mi* fòs fuaim sgiath nan ainmhidhean a bhean ri chéile, agus fuaim nan roth thall mu 'n coinneamh, agus fuaim luasgaidh mhòir.

14 An sin thog an spiorad suas mi, agus thug e leis mi, agus dh' imich mi ann an searbhus, ann an teas mo spioraid, ach bha làmh an Tighearna treun orm.

15 An sin thàinig mi chum na muinntir a bha nam braighdibh aig Tel-abib, a bha chòmhnuidh làimh ri abhainn Chebair, agus shuidh mi far an do shuidh iadsan, agus dh' fhan mi 'n sin seachd laithean làn uamhais nam meadhon.

16 Agus tharladh an ceann sheachd laithean, gu'n d' thàinig focal an Tighearna do m' ionnsuidh, ag ràdh,

17 A mhic an duine, rinn mise fear-faire dhìot do thigh Israeil: uime sin, éisd am focal o' m' bheul, agus thoir rabhadh dhoibh uamsa.

18 'Nuair a their mise ris an aingidh, Gheibh thu gu cinnteach bàs; agus nach dthoir thusa rabhadh dha, agus nach labhair thu thoirt rabhaidh do 'n chiontach o 'dhroch shlighe, chum 'anam a thearnadh; bàsaichidh an droch dhuine sin na aingidheachd, ach iarruidh mise 'fhuil air do làmhsa.

19 Gidheadh ma bheir thu rabh-adh do 'n aingidh, agus nach pill e o 'aingidheachd, no o 'dhroch shlighe, bàsaichidh esan na aingidheachd; ach shaor thusa d' anam féin.

20 A rìs, an uair a philleas firean o 'fhìreantachd, agus a chuireas e 'n gnìomh peacadh, agus a chuireas mise ceap-tuislidh sa chomhair, gheibh e bàs; a chionn nach d' thug thusa dha rabhadh, na pheacadh gheibh e bàs, agus cha chuimhnichear 'fhìreantachd a rinn e; ach iarruidh mise 'fhuil air do làimh-sa.

21 Gidheadh ma bheir thu rabh-adh do 'n fhìrean, air chor as nach ciontaich am firean, agus nach dean e peacadh; mairidh e gu cinnteach beo,

beo, do bhrìgh gu 'n d' fhuair e rabh-
adh; mar an ceudna shaor thusa d'
anam féin.
22 Agus bha làmh an Tighearna
orm an sin, agus thuirt e rium; Eir-
ich, siubhail a mach do 'n chòmhnard,
agus an sin labhraidh mise riut.
23 An sin dh' éirich mi, agus
chaidh mi mach a chum a' chòmhn-
aird, agus feuch, sheas glòir an Tigh-
earna san àite sin, mar a' ghlòir a
chunnaic mi aig abhainn Chebair;
agus thuit mi air m' aghaidh.
24 An sin chaidh an spiorad ann-
am, agus chuir e air mo chasaibh mi,
agus labhair e rium, agus thuirt e
rium; Falbh, druid thu féin a stigh
ann ad thigh.
25 Ach thusa, O mhic an duine,
feuch, cuiridh iad boinn ort, agus
ceanglaidh iad thu leo, agus cha
d'théid thu mach nam measg.
26 Agus bheir mise air do theang-
aidh leantuinn ri d' ghial, air chor as
gu 'm bi thu balbh, agus nach bi thu
dhoibh a' d' fhear-cronachaidh; oir
tha iad nan tigh ceannairceach.
27 Ach an uair a labhras mise riut,
fosglaidh mi do bheul, agus their thu
riu, Mar so deir an Tighearn Dia,
Esan a dh' éisdeas, eisdeadh e; agus
esan a dhearmaideas, dearmaideadh e:
oir tha iad nan tigh ceannairceach.

C A I B. IV.

THUSA mar an ceudna, a mhic
an duine, gabh chugad leac-
shuaine, agus cuir fa d' chomhair i,
agus tarruing oirre am baile, Ierusa-
lem.
2 Agus cuairtich e le feachd, agus
tog na aghaidh daingneach, agus tilg
suas torr na aghaidh; suidhich fòs
campa na aghaidh, agus cuir reith-
eacha-cogaidh na aghaidh air gach
taobh mu 'n cuairt.
3 A thuille air so, gabh chugad
aoghann iaruinn, agus suidhich e mar
bhalla iaruinn eadar thu agus am baile,
agus cuir do ghnùis na aghaidh, agus
bidh e air a theannachadh, agus cuir-
idh tu campa na aghaidh: bidh so
na chomhara do thigh Israeil.
4 Luidh thusa fòs air do thaobh clì,
agus leig ea-ceart tighe Israeil air: do
réir àireimh nan laithean a luidheas
tu air, giùlainidh tu an ea-ceart.
5 Oir leig mis ortsa bliadhnachan
an ea-ceartan, do réir àireimh nan
laithean, tri cheud deich agus ceithir
fichead là: mar sin giùlainidh tu ea-
ceart tighe Israeil.
6 Agus 'nuair a choimhlionas tu
iad, luidh a rìs air do thaobh deas, a-
gus giùlainidh tu ea-ceart tighe
Iudah dà fhichead là: dh' orduich
mise dhuit là air son bliadhna.
7 Uime sin cuiridh tu d' aghaidh
ri séisdeadh Ierusaleim, agus bidh do
ghairdean air a rùsgadh, agus ni thu
fàisneachd na aghaidh.
8 Agus, feuch, cuiridh mise cuibh-
richean ort, agus cha tionndaidh thu
thu féin o 'n aon taobh gus an taobh
eile, gus an crìochnaich thu laithean
do shéisdidh.
9 Gabh chugad fòs cruineachd, a-
gus eorna, agus pònair, agus peasair,
agus meanbh-pheasair, agus peasair
fhiadhain, agus cuir iad ann an aon
soitheach, agus dean duit féin aran
diubh, do réir àireimh nan laithean a
luidheas tu air do thaobh; tri cheud
ceithir fichead agus deich laithean ith-
idh tu dheth.
10 Agus bidh am biadh a dh' itheas
tu air a chothromachadh, fichead secel
anns an latha: o àm gu h-àm ithidh tu e.
11 Olaidh tu mar an ceudna uisge
le tomhas; an sèathamh cuid do hin:
o àm gu h-àm òlaidh tu.
12 Agus ithidh tu e mar arain
eorna, agus le aolach a thig a mach a
duine deasaichidh tu e nan sealladh.
13 Agus thuirt an Tighearn, Eadh-
on mar so ithidh clann Israeil an aran
truaillte measg nan cinneach, gus an
iomain mis' iad.
14 An sin thuirt mise, Ah a Thigh-
earn Dhia, feuch, cha do thruailleadh
m' anam-sa: oir o m' òige nìos gus a
nis cha d' ith mi dheth sin a bhàsaich-
eas leis féin, no bha na chonablach, ni
mò thàinig feoil ghràineil ann am
bheul.
15 An sin thuirt e rium, Feuch,
thug mi dhuit buachar bhò an àite
aolaich duine, agus deasaichidh tu
d' aran leis.
16 Os barr, thuirt e rium, A mhic
an

an duine, feuch, brisidh mise lorg an
arain ann an Ierusalem; agus ithidh
iad aran le cothrom agus le cùram,
agus òlaidh iad uisge le tomhas agus
le h-uamhas.
17 A chum gu 'm bi uireasbhuidh
arain agus uisg' orra, agus gu 'm bi
uamhas orra gach aon ri chéile, agus gu
'n leagh iad air falbh air son an ea-ceirt.

CAIB. V.

AGUS thusa, a mhic an duine,
gabh chugad sgian gheur,
gabh chugad ealtuinn bearradair, agus
thoir oirre siubhal air do cheann, agus
air d' fheusaig; an sin gabh meigh
thomhais, agus roinn *am folt*.
2 Trian loisgidh tu le teine ann am
meadhon a' bhaile, tra bhios laithean
an t-séisdidh air an coimhlionadh; a-
gus gabhaidh tu trian, *agus* buailidh
tu m'a thimchioll le sgein; agus sgap-
aidh tu trian leis a' ghaoith, agus
tairngidh mise mach claidheamh nan
déigh.
3 Gabhaidh tu mar an ceudna
dhiubh beagan ann an àireamh, agus
ceanglaidh tu iad ann ad sgiortaibh [a].
4 An sin gabh dhiubh a rìs, agus
tilg iad ann am meadhon an teine, a-
gus loisg iad anns an teine; as sin thig
teine mach gu tigh Israeil uile.
5 Mar so deir an Tighearn Dia, Is
i so Ierusalem; chuir mis' i ann am
meadhon nan cinneach, agus nan
dùchanna mu 'n cuairt d'i.
6 Agus dh' atharruich i mo bhreith-
eanais gu aingidheachd ni 's mò na na
cinnich; agus mo reachdan ni 's mò
na na dùchanna mu 'n cuairt d'i: oir
dhiùlt iad mo bhreitheanais; agus mo
reachdan, cha do ghluais iad annta.
7 Uime sin, mar so deir an Tigh-
earn Dia, Chionn gu 'n d' fhàs sibh
lìonmhor seach na cinnich mu 'n
cuairt duibh, agus nach do ghluais sibh
ann am reachdaibhsa, ni mò choimhid
sibh mo bhreitheanais, ni mò rinn sibh
eadhon do réir breitheanais nan cinn-
each mu 'n cuairt duibh:
8 Uime sin, mar so deir an Tigh-
earn Dia, Feuch, tha mise, eadhon
mise, a' d' aghaidh, agus ni mi breith-
eanais ann ad mheadhon, ann an seall-
adh nan cinneach.
9 Agus ni mi annad an ni sin nach
d' rinn mi, agus nach dean mi ni 's
mò ni cosmhuil ris, air son d' uile
ghràinealachdan.
10 Uime sin ithidh na h-aithrichean
am mic ann ad mheadhon, agus ith-
idh na mic an aithrichean; agus ni
mise breitheanais annad, agus sgap-
aidh mi an t-iomlan do d' fhuigheall
anns gach uile ghaoith.
11 Air an aobhar sin, mar is beò
mise, deir an Tighearn Dia, Gu
deimhin a chionn gu 'n do thruaill thu
m' ionad naomh le d' uile nithibh
fuathach, agus le d' uile ghràinealachd-
aibh, uime sin lughdaichidh mise thu
mar an ceudna, agus cha choigil mo
shùil, ni mò bhios truas air bith
agam.
12 Bàsaichidh trian diot leis a'
phlàigh, agus le gorta caithear iad
ann ad mheadhon: agus tuitidh trian
leis a' chlaidheamh mu 'n cuairt duit;
agus sgapaidh mise trian anns na h-uile
ghaothaibh, agus tairngidh mi mach
claidheamh nan déigh.
13 Mar so coimhlionar mo chor-
ruich, agus bheir mi air mo dhian
fheirg luidhe orra, agus bheir mi
dhomh féin fois: agus bidh fios aca
gur mise an Tighearn a labhair ann
am eud, an tra choimhlionas mi orra
mo dhian chorruich.
14 A thuille air so, ni mi dhiot
fàsach agus masladh am measg nan
cinneach mu 'n cuairt duit, ann an
sealladh nan uile théid seachad.
15 Agus bithidh tu ann ad mhasl-
adh, agus ann ad mhagadh, ann ad
theagasg, agus ann ad uamhas, do na
cinnich mu 'n cuairt duit, an tra ni
mise breitheanais annad, ann am feirg,
agus ann an corruich, agus ann an
garg achasanaibh: mise Iehobhah
labhair.
16 An tra chuireas mi orra droch
shaighde na gorta bhios air son sgrios,
a chuireas mise gu 'r sgrios: meud-
aichidh mi fòs a' ghort oirbh, agus
brisidh mi lorg 'ur n-arain.
17 Mar sin cuiridh mi oirbh gort,

[a] *sgiobul, sgiathaibh.* Eabh.

agus droch bheathaichean, agus ni iad
uireasbhuidheach thu [a]: agus siùbhl-
aidh plàigh agus fuil tromhad [b], agus
bheir mi ort an claidheamh; mise
Iehobhah labhair.

CAIB. VI.

AGUS thàinig focal an Tighearna
do m' ionnsuidh, ag ràdh,
2 A mhic an duine, cuir d' aghaidh
ri sléibhtibh Israeil, agus dean fàisn-
eachd nan aghaidh,
3 Agus abair, A shléibhtean Israeil,
cluinnibh focal an Tighearna Dia,
mar so deir an Tighearn Dia ris na
sléibhtibh, agus ris na cnocaibh, ris
na sruthaibh agus ris na gleannaibh,
Feuch, bheir mise, mise féin, claidh-
eamh oirbh, agus sgriosaidh mi 'ur n-
ionadan arda.
4 Agus bidh 'ur n-altairean fàs, a-
gus 'ur dealbhan air am briseadh: a-
gus tilgidh mise sìos 'ur *daoine* marbh-
ta fa chomhair 'ur n-ìodhola.
5 Agus leagaidh mi cuirp mharbha
chloinne Israeil fa chomhair an ìodh-
ola; agus sgapaidh mi 'ur cnàmhan
mu thimchioll 'ur n-altairean.
6 Ann 'ur n-uile àiteachaibh còmhn-
uidh, nithear na bailtean fàs, agus bidh
'ur n-ionadan arda faondrach, air chor
as gu 'm bi 'ur n-altairean fàs agus
uaigneach, agus gu 'n dthig briseadh a-
gus cosgadh air 'ur n-iodholaibh, agus
gu 'n dubhar as 'ur n-oibre.
7 Agus tuitidh iadsan a bhios leòn-
ta 'nur meadhon, agus bidh fios agaibh
gur mise an Tighearn.
8 Gidheadh fàgaidh mi fuigheall,
air chor as gu 'm bi agaibh cuid a
théid as o 'n chlaidheamh am measg
nan cinneach, an tra bhios sibh air 'ur
sgapadh am measg nan dùchanna.
9 Agus cuimhnichidh mheud dhibh [c]
as a théid as mise, ann am measg nan
cinneach gus an dthoirear iad nam
braighdibh, an tra chiosnaicheas mise
an cridhe strìopachail adhealuich rium,
agus an sùileap a ta dol air strìopachas
an déigh an ìodholan; agus bidh gràin
aca dhiubh féin air son nan olc a chuir
iad an gnìomh nan uile ghràinealachd-
aibh.
10 Agus aithnichidh iad gur mise
an Tighearn, agus nach ann gu dìomh-
ain a thubhairt mi gu 'n deanainn an
t-olc so orra.
11 Mar so deir an Tighearn Dia,
Buail le d' làimh, agus breab le d'
chois, agus abair, Mo thruaighe! air
son uile dhroch ghràinealachdan tighe
Israeil; oir tuitidh iad leis a' chlaidh-
eamh, leis a' ghort, agus leis a' phlàigh.
12 Esan a ta fad as bàsaichidh leis
a' phlàigh; agus esan a tha dlù tuitidh
leis a' chlaidheamh; agus esan a mhair-
eas, agus a ta air a shéisdeadh, bàs-
aichidh leis a' ghort: mar so coimh-
lionaidh mise mo chorruich orra.
13 An sin bidh fios agaibh gur mise
an Tighearn, an tra bhios an daoine
marbhta, measg an ìodhola, mu 'n
cuairt air an altairibh, air gach aon
chnoc ard, air uile mhullachaibh nan
sliabh, agus fo gach uile chrann uaine,
agus fo gach daraig gheugaich [d]; an
t-àite san d' thug iad boltrach cùbh-
raidh do 'n uile ìodholaibh.
14 Mar sin sìnidh mise mach mo
làmh orra, agus ni mi am fearann fàs,
feadh, ni 's uaigniche na fàsach Dhib-
lait, nan uile ionadaibh còmhnuidh;
agus bidh fios aca gur mi an Tigh-
earn.

CAIB. VII.

OS barr thàinig focal an Tighearna
do m' ionnsuidh, ag ràdh,
2 Fòs a mhic an duine, *abair*, Mar
so deir an Tighearn Dia ri fearann
Israeil: Thàinig crìoch, *thàinig* crìoch
air ceithir chearnaibh na tìre.
3 A nis *thàinig* crìoch ort, agus
cuiridh mise mo chorruich ort, agus
bheir mi breith ort a réir do shlighe,
agus dìolaidh mi riut d' uile ghràineal-
achdan.
4 Agus cha choigil [e] mo shùil thu,
ni mò bhios truas agam, ach dìolaidh
mi riut do shlighe, agus bidh do
ghràinealachdan ann ad mheadhon;
agus bidh fios agaibh gur mise an
Tighearn.
5 Mar so deir an Tighearn Dia;
Feuch, tha olc, aon olc eile a' teachd.
6 Tha crìoch air teachd, thàinig a'
chrìoch;

[a] *fagaidh iad gun chlann thu.* [b] *thrombad.* [c] *mheud agaibh.* [d] *dhosraich.* [e] *chaomhain.*

chrìoch; tha i ri faire air do shon, feuch thàinig i.

7 Dh' éirich a' mhaduinn ort, O thus' a ta 'g àiteachadh na tìre; thàinig an t-àm, tha là an àmhghair dlù, agus cha 'n e ath-fhreagradh nan sliabh.

8 A nis gu h-aithghearr dòirtidh mi mach m' fhearg, agus coimhlionaidh mi mo chorruich ort: agus bheir mi breith ort a réir do shlighe, agus dìolaidh mi riut d 'uile ghràinealachdan.

9 Agus cha choigil mo shùil, ni mo bhios truas agam: dìolaidh mi riut a réir do shlighe, agus do ghràinealachdan ann ad mheadhon; agus bidh fios agaibh gur mis' an Tighearn a ta bualadh.

10 Feuch an là, feuch, thàinig e; chaidh a' mhaduinn a mach, thàinig blàth air an t-slait, ùr-fhàs air an uabhar.

11 Dh' fhàs ain-neart suas gu slait aingidheachd: cha *mhair* aon diubh, no do 'n sluagh, no aon a bhuineas doibh, ni mò bhios cumha [a] sam bith air an son.

12 Thàinig an t-àm, tha an là a' teachd am fagus; na deanadh am fear-reice gairdeachas, no am fear-ceannuich bròn: oir *thuit* fearg air a mòr chuideachd uile.

13 Oir cha phill am fear-reice ris an ni sin a reiceadh, ged robh iad am measg nam beo; oir tha an taisbean mu thimchioll a mòr-chuideachd uile; cha phill iad, ni mò neartaicheas aon duine e féin ann an aingidheachd a bheatha.

14 Shéid iad an trompaid, eadhon a chum na h-uile a dheanamh deas, ach cha 'n 'eil neach air bith a' dol a chum a' chatha: oir tha m' fhearg-sa air a mòr-chuideachd uile.

15 Tha an claidheamh a muigh, agus a' phlàigh, agus a' ghort a stigh: esan a ta sa' mhachair bàsaichidh e leis a' chlaidheamh; agus esan a ta sa' bhaile ni gort agus plàigh 'itheadh suas.

16 Ach iadsan a théid as diubh, théid as, agus bidh iad air na sléibhtibh mar cholumain nan gleann, iad uil' a' caoidh, gach aon diubh air son 'aingidheachd féin.

17 Bidh na h-uile làmhan lag, agus bidh na h-uile ghlùinean anfhann mar uisge.

18 Crioslaichidh iad fòs *iad féin* le eudach saic, agus ni uamhas an còmhdachadh, agus bidh nàire air na h-uile aghaidh, agus air an cinn uile bidh maoile.

19 Tilgidh iad an airgiod anns na sràidibh, agus atharruichear an òr: cha bhi an airgiod agus an òr comasach air an saoradh ann an là feirge an Tighearna: cha sàsuich iad an anama, ni mò lìonas iad an com: a chionn gu 'n d thoir an aingidheachd tuisleadh orra.

20 A chionn gu 'n d' rinn iad dheth éideadh àillidh agus sgiamhach, leis an do sgeudaich iad dealbhan gràineil an nithe fuathach, uime sin bheir mise fainear gu 'm buinear e uatha.

21 Agus bheir mi e do làmhaibh nan coimheach mar chobhartaich, agus do dhroch dhaoinibh na talmhainn mar chreich, agus ni iadsan a thruailleadh.

22 Pillidh mi fòs m' aghaidh uatha, agus bidh m' ionad dìomhair air a thruailleadh; oir théid an luchd spùinnidh a steach ann, agus truaillidh iad e.

23 Dean slabhruidh; oir tha am fearann làn do chiontaibh fuilteach, agus tha a' chathair làn do ain-neart.

24 Uime sin, bheir mis' a' chuid a's measa do na cinnich, agus sealbhuichidh iad an tighean: cuiridh mi fòs cosgadh air uabhar nan neartmhor, agus truaillear an ionada naomha.

25 Tha léir-sgrios a' teachd, agus iarruidh iad sìth, ach cha bhi i ann.

26 Thig urchuid air urchuid, agus tuairisgeul air thuairisgeul; an sin iarruidh iad sealladh o 'n fhàidh: ach eugaidh an lagh o 'n t-sagart, agus comhairle o na seanaraibh.

27 Ni an righ caoidh, agus bidh am prionnsa air 'éideadh le léir-sgrios, agus bidh làmhan sluaigh na tìre fo gheilt: ni mise riu do réir an slighe, agus do réir an toillteanais bheir mi breith

[a] *caoidh.*

breith orra, agus bidh fios aca gur mi
an Tighearn.

CAIB. VIII.

AGUS tharladh anns an t-seathamh
bliadhna, anns an t-seathamh
mios, anns a' chùigeamh *là* do 'n mhios,
nuair a shuidh mi ann am thigh, agus
seanairean Iudah nan suidhe mu 'm
chomhair, gu 'n do thuit orm an sin
làmh an Tighearna Dia.
2 An sin dh' amhairc mi, agus
feuch, cosalachd mar shàmhla duine:
o thaisbeanadh a leasraidh agus suidhe
mar theine: agus o 'leasraidh agus os
a chionn, mar thaisbeanadh dealan-
aich, mar dhath òmair.
3 Agus chuir e mach cumachd
làimhe, agus ghlac e mi air dual do
m' cheann, agus thog an spiorad suas
mi eadar talamh agus nèamh, agus
thug e mi ann am foillseachaibh Dhé
gu Ierusalem, gu dorus a' gheata 's
faide steach, a ta 'g amharc ris an
airde tuath, far an robh àite ìomhaigh
an eud, a bhrosnuicheas gu eud.
4 Agus feuch, bha glòir Dhé Israeil
an sin, do réir an t-seallaidh a chunnaic
mi anns a' chòmhnard.
5 An sin thuirt e rium, A mhic an
duine, tog suas do shùilean a nis ri
slighe na h-airde tuath: agus thog mi
suas mo shùilean ri slighe na h-airde
tuath, agus feuch, mu thuath, aig
geata na h-altrach, ìomhaigh so an
eud anns an dol a steach.
6 Agus thuirt e rium, A mhic an
duine, am faic thu ciod a ta iad a'
deanamh? na gràinealachda mòra tha
tigh Israeil a' cur an gnìomh an so, a
chum gu'n rachainns' am fad o m' naomh
ionad? ach pill fathasd, chi thu gràin-
ealachdan a's mò.
7 Agus thug e mi gu dorus na
cùirte; agus an uair a dh' amhairc
mi, feuch toll anns a' bhalla.
8 An sin thuirt e rium, A mhic an
duine, cladhaich a nis anns a' bhalla:
agus 'nuair a chladhaich mi anns a'
bhalla, feuch dorus.
9 Agus thuirt e rium, Imich a
steach, agus feuch na gràinealachdan
aingidh a ta iad a' deanamh an so.
10 Mar sin chaidh mi steach agus
chunnaic mi, agus feuch uile chosal-
achda gach ni shnàgas, agus gach
beathaich ghràineil, agus uile ìodholan
tighe Israeil air an tarruing air a'
bhalla, gach taobh mu 'n cuairt.
11 Agus sheas nan làthair deich a-
gus tri fichead fear do sheanairibh
tighe Israeil, agus nam meadhon sheas
Iaasaniah mac Shaphain, gach fear le
'thùiseir na làimh, agus neul tiugh
tùis a' dol suas.
12 An sin thuirt e rium, A mhic
an duine, am faca tu ciod a tha sean-
airean tighe Israeil a' deanamh anns
an dorcha, gach fear ann an seòm-
raichibh 'ìomhaigheachd féin? oir a-
deir iad, Cha 'n 'eil an Tighearn 'g ar
faicinn, thréig an Tighearn an ta-
lamh.
13 Thuirt e rium mar an ceudna,
Pill fòs a rìs, chi thu gràinealachdan
a's mò a ta iad a' deanamh.
14 An sin thug e mi gu dorus
geataidh tighe an Tighearna, a bha
ris an airde tuath, agus feuch, an sin
shuidh mnai a' gul air son Thamuis.
15 An sin thuirt e rium, Am faca
tu so, a mhic an duine? pill fòs a rìs,
chi thu gràinealachda ni 's mò na iad
so.
16 Agus thug e mi do'n chùirt a's
faide steach do thigh an Tighearna,
agus feuch, aig dorus Teampuill an
Tighearna, eadar an sgàth-thigh agus
an altair, tuaiream cùig fir fhichead,
le 'n cùlaobh ri teampull an Tighear-
na, 's an aghaidh ris an aird an ear,
agus iad ag aoradh do 'n ghréin ris an
aird an ear.
17 An sin thuirt e rium, Am faca
tu, O mhic an duine? An ni faoin do
thigh Iudah a bhi deanamh nan gràin-
ealachdan a ta iad a' deanamh an so?
oir lìon iad an tìr le ain-neart, agus
phill iad do m' bhrosnucha-sa chum
feirge; agus feuch, chuir iad am-
meanglan ri 'n sròin.
18 Uime sin buinidh mise *riu-san*
fòs ann am feirg: cha choigil mo
shùil, ni mò bhios truas agam: agus
ged éigh iad ann am chluasaibh le
guth ard, gidheadh cha '*n éisd mi* riu.

CAIB. IX.

GHLAODH e fòs ann am chluas-
aibh le guth ard, ag ràdh, Thoir
air

air uachdarain a' bhaile teachd am
fagus, eadhon gach duine le 'arm-
sgriosaidh na làimh.
2 Agus feuch, thàinig seisear [a]
fhear o shlighe a' gheataidh a's airde,
ta 'g amharc ris an airde tuath, agus
aig gach fear 'inneal-sgrios féin na
làimh: agus bha aon fhear nam measg-
air 'éideadh le lìon-eudach, agus ac-
fuinn-sgrìobhaidh cléirich air a leis,
agus chaidh iad a steach, agus sheas
iad ri taobh na h-altrach umha.
3 Agus dh' éirich glòir Dhé Israeil
suas bharr a' cheruib air an robh e,
gu stairsneach an tighe; agus ghlaodh
e ris an duine bha air 'éideadh leis an
lìon-eudach, aig an robh an acfuinn-
sgrìobhaidh cléirich r'a thaobh;
4 Agus thuirt an Tighearn ris,
Imich roi' [b] mheadhon a' bhaile, roi'
mheadhon Ierusaleim, agus cuir co-
mhara air eudannaibh na muinntir a ta
'g osnaich agus a glaodhaich air son
nan uile ghràinealachdan a ta air an
deanamh na meadhon.
5 Agus ri càch thubhairt e ann am
éisdeachd, Rachaibhse na dhéigh-san
roi' an bhaile, agus buailibh: na coig-
leadh 'ur sùil, ni mò bhios truas ag-
aibh.
6 Marbhaibh gu tur an sean, *agus*
an t òg, an òigh, agus an leanabh, a-
gus na mnai; ach na beanaibh ri aon
duine air am bheil an comhara; agus
tòisichibh aig mo naomh-ionadsa. An
sin thòisich iad aig na seann daoine
bha fa chomhair an tighe.
7 Agus thuirt e riu, Truaillibh an
tigh, agus lìonaibh na cùirtean leis na
marbhaibh; rachaibh a mach: agus
chaidh iad a mach, agus mharbh iad
anns a' bhaile.
8 Agus tharladh tra bha iad 'g am
marbhadh, agus a bha mise air m'
fhàgail, gu 'n do thuit mi air m' agh-
aidh, agus ghlaodh mi, ag ràdh, Ah!
a Thighearn Dhia, an sgrios thu iar-
mad Israeil uile, ann an dòrtadh a
mach do dhìan chorruich air Ierusa-
lem?
9 An sin thuirt e rium, Tha ain-
gidheachd tighe Israeil agus Judah an-
mhor, agus tha am fearann làn do
fhuil, agus am baile làn do cheann-
airc: oir a deir iad, Thréig an Tigh-
earn an talamh, agus cha 'n 'eil an
Tighearn a' faicinn.
10 Agus air mo shon-sa mar an
ceudna, cha choigil mo shùil, ni mò
bhios truas agam; dìolaidh mi an
slighe air an ceann.
11 Agus feuch, dh'innis am fear a
bha sgeudaichte leis an lìon-eudach,
agus aig an robh an acfuinn-sgrìobh-
aidh r'a thaobh, a' chùis, ag ràdh,
Rinn mi amhuil mar a dh' àithn thu
dhomh.

CAIB. X.

AN sin dh' amhairc mi, agus feuch,
anns an speur a bha thar cinn
nan cerubim, thaisbeanadh os an cionn
mar gu 'm biodh ann clach shaphir,
mar thaisbeanadh coslais righ-chath-
rach.
2 Agus labhair e ris an duine bha
sgeudaichte leis an lìon-eudach, agus
thubhairt e, Imich a steach eadar na
rothan, fuidh an cherub, agus lìon do
làmh le éibhlibh teine eadar na cerub-
im, agus sgap iad thar a' bhaile. Agus
chaidh e steach ann am shealladh.
3 A nis sheas na cerubim air taobh
deas an tighe, 'nuair a chaidh an duine
steach, agus lìon an neul a' chùirt a
b'fhaide stigh.
4 An sin chaidh glòir an Tighearna
suas bharr a' cheruib, agus sheas i os
cionn stairsnich an tighe, agus lìonadh
an tigh leis an neul, agus bha a' chùirt
làn do dhealradh glòire an Tighear-
na.
5 Agus chualas fuaim sgiath nan
cerub gus a' chùirt a b'fhaide mach,
mar ghuth an Dé uile-chumhachdaich
an uair a labhras e.
6 Agus tharladh an tra thug e
àithne do 'n duine bha sgeudaichte
leis an lìon-eudach, ag ràdh, Glac
teine o eadar na rothan, o eadar na
cerubim, gu 'n deachaidh e 'n sin a
steach, agus sheas e làimh ris na roth-
aibh.
7 Agus shìn cerub a mach a làmh
o eadar na cerubim, chum an teine a
bha eadar na cerubim, agus ghabh e

[a] *seanar.* [b] *tre.*

dheth; agus chuir e 'n làmhan an ti
bha sgeudaichte leis an lìon-eudach e:
neach a ghlac e agus a chaidh a
mach.
8 Agus chunnacas anns na cerubim
cumachd làimhe duine fuidh an sgiath-
aibh.
9 Agus 'nuair a dh' amhairc mise,
feuch, na ceithir rothan aig taobh nan
cerubim, aon roth aig aona cherub,
agus roth eile aig cerub eile: agus
bha dreach nan rothan air dhath
cloiche criostail.
10 Agus air son an aoguis, bha 'n
aon chosllas aca nan ceathrar, mar gu
'm biodh roth ann am meadhon rotha.
11 'Nuair a ghluais iad, dh' imich
iad air an ceithir taobhaibh; cha do
thionndaidh iad nan imeachd; ach ris
an àite gus an robh an ceann ag amh-
arc, lean iadsan e; cha do thionndaidh
iad nuair a dh' imich iad.
12 Agus bha an corp gu h-iomlan,
agus an dromanna, agus an sgiathan,
agus na rothan, làn do shùilibh mu 'n
cuairt air gach taobh, *eadhon* na rothan
a bha aca nan ceathrar.
13 Agus ris na rothaibh ghlaodh-
adh ann am éisdeachdsa, Ruithibh.
14 Agus bha ceithir eudanna aig
gach aon: aghaidh cheruib a' cheud
eudann, agus aghaidh duine an dara
eudann, agus aghaidh leòmhuinn an
treas, agus aghaidh iolarach an ceath-
ramh.
15 Agus thogadh suas na cerubim;
so an t-ainmhidh a chunnaic mise aig
sruth Chebair.
16 Agus an uair a ghluais na cerub-
im, dh' imich na rothan làimh riu:
agus 'nuair a thog na cerubim suas an
sgiathan, a chum éiridh suas o 'n ta-
lamh, cha do thionndaidh na rothan
ceudna sin o bhi nam fochair.
17 'Nuair a sheas iad sin, sheas *iad
so*; agus 'nuair a dh' éirich iad sin
suas, dh' éirich *iad so*; oir bha spiorad
an ainmhidh annta.
18 An sin dh' imich glòir an Tigh-
earna o stairsnich an tighe, agus sheas
i thar na cerubim.
19 Agus thog na cerubim suas an
sgiathan, agus chaidh iad suas o 'n ta-
lamh ann am shealladh: an uair a
chaidh iad a mach, bha na rothan mar
an ceudna làimh riu, agus sheas iad
aig dorus geataidh shoir tighe an
Tighearna, agus bha glòir Dhé Israeil
tharta os an cionn.
20 So an t-ainmhidh a chunnaic
mi fuidh Dhia Israeil, làimh ri sruth
Chebair; agus dh' aithnich mi gu 'm
b' iad na cerubim.
21 Bha ceithir eudanna aig gach
aon fa leth, agus aig gach aon bha
ceithir sgiathan, agus bha cosllas
làmhan duine fuidh an sgiathaibh.
22 Agus b'e cosllas an aghaidhean
na h-aghaidhean ceudna a chunnaic
mi aig sruth Chebair, an aogus agus
iad féin: dh' imich iad gach aon dir-
each air aghaidh.

CAIB. XI.

AGUS thog an spiorad suas mi, a-
gus thug e mi gu geata 'n ear
tighe an Tighearna, ta 'g amharc ris
an aird an ear: agus feuch, aig dorus
a' gheata, cùig fir shichead: agus
chunnaic mi nam measg Iaasaniah
mac Asuir, agus Pelatiah mac Bhe-
naiah, uachdarain an t-sluaigh.
2 An sin thuirt e rium, A mhic an
duine, so na daoine tha dealbh uilc,
agus a' toirt droch chomhairle sa'
bhaile so;
3 A ta 'g ràdh, Cha 'n 'eil e dlù,
togamaid tighean: is e *am baile* so an
coire, agus sinne an fheoil.
4 Air an aobhar sin, dean fàis-
neachd nan aghaidh, dean fàisneachd
a mhic an duine.
5 Agus thuit orm spiorad an Tigh-
earna, agus thuirt e rium, Abair, Mar
so deir an Tighearn, Mar so thubhairt
sibh, O thigh Israeil: oir is aithne
dhomhsa na nithe tha teachd 'n ur n-
inntinn, *gach uile ni* dhiubh.
6 Mheudaich sibh 'ur mairbh anns
a' chathair so, agus lion sibh a sràid-
ean leòsan a mharbhadh.
7 Air an aobhar sin mar so deir an
Tighearn Dia, 'Ur mairbh a chuir
sibh na meadhon, is iadsan an fheoil,
agus is i *a' chathair* so an coire: ach
bheir mise sibh a mach as a mea-
dhon.
8 Bha eagal oirbh roimh an chlaidh-
eamh, agus bheir mise claidheamh
oirbh, deir an Tighearn Dia.

9 Agus bheir mi sibh a mach as a
meadhon, agus bheir mi thairis sibh
do làmhan choimheach, agus ni mi
breitheanais 'n ur measg.

10 Tuitidh sibh leis a' chlaidheamh,
bheir mise breitheanas oirbh ann an
iomall Israeil, agus bidh fios agaibh
gur mi an Tighearn.

11 Cha 'n i *a' chathair* so a bhios
na coire dhuibh, ni mò bhios sibhse na
meadhon mar fheoil: ann an iomall
Israeil bheir mise breith oirbh.

12 Agus bidh fios agaibh gur mise
an Tighearn; oir cha do ghluais sibh
ann am reachdaibh, ni mò rinn sibh
mo bhreitheanais, ach rinn sibh do
réir nòis [a] nan cinneach a ta air gach
taobh mu 'n cuairt duibh.

13 Agus thariadh an tra rinn mise
fàisneachd, gu 'n d' eug Pelatiah mac
Bhenaiah: an sin thuit mi sìos air m'
aghaidh, agus ghlaodh mi le guth ard,
agus thubhairt mi, Ah! a Thighearn
Dhia, an dean thu làn chrìochnachadh
air iarmad Israeil?

14 A rìs thàinig focal an Tighear-
na do m' ionnsuidh, ag ràdh,

15 A mhic an duine, Is iad do
bhràithrean, do bhraithrean, fir do
dhilseachd, agus uile thigh Israeil gu
h-iomlan, ris an dubhairt luchd-àit-
eachaidh Ierusaleim, Imichibh am fad
o 'n Tighearn: dhuinne thugadh am
fearann so mar sheilbh.

16 Air an aobhar sin abair, Mar so
deir an Tighearn Dia, Ge do thilg mi
fada uam iad am measg nan cinneach,
agus ge do sgap mi iad am measg nan
dùchanna, gidheadh bidh mi dhoibh
ann am naomh ionad bheag anns na
dùchannaibh gus an dthig iad.

17 Uime sin abair, Mar so deir an
Tighearn Dia, Ni mi eadhon 'ur tion-
al o na cinnich, agus 'ur cruinneach-
adh as na dùchannaibh anns an robh
sibh air 'ur sgapadh, agus bheir mi
dhuibh fearann Israeil.

18 Agus thig iad d'a ionnsuidh, a-
gus bheir iad 'uile nithe fuathach, a-
gus 'uile ghràinealachdan air falbh
as.

19 Agus bheir mi dhoibh aon
chridhe, agus cuiridh mi spiorad
nuadh an taobh a stigh dhiubh; agus
bheir mi an cridhe cloiche as am feoil,
agus bheir mi dhoibh cridhe feòla;

20 A chum gu 'n gluais iad ann am
reachdaibh, agus gu 'n coimhid iad m'
orduighean, agus gu 'n dean siad iad:
agus bidh iad nam pobull dhomhsa,
agus bidh mis' a'm' Dhia dhoibhsan.

21 Ach *do 'n taobh-san* a thionndas
an cridhe do réir cridhe an nithe
fuathach agus an gràinealachda, dìol-
aidh mis' an slighe air an ceann *féin*,
deir an Tighearn Dia.

22 An sin thog na cerubin suas an
sgiathan, agus na rothan làimh riu;
agus bha glòir Dhia Israeil tharta os
an cionn.

23 Agus chaidh glòir an Tighear-
na suas o mheadhon a' bhaile, agus
sheas i air an t-sliabh a ta air an taobh
an ear do 'n bhaile.

24 Na dhéigh sin ghlac an spiorad
suas mi, agus thug e mi ann an taisb-
ean le spiorad Dhé gu Caldéa, chum
nam bràighdean: mar sin chaidh an
sealladh a chunnaic mi suas uam.

25 An sin labhair mi riu-san a bh'
anns an daorsa, na h-uile nithe a
thaisbein an Tighearn dhomh.

C A I B. XII.

THAINIG focal an Tighearna
fòs do m' ionnsuidh, ag ràdh,

2 A mhic an duine, tha thu chòmh-
nuidh ann am meadhon tighe ceann-
airceich, aig am bheil sùilean gu faic-
inn, ach cha 'n 'eil iad a' faicinn; tha
cluasan aca gu cluinntinn, ach cha 'n
'eil iad a' cluinntinn: oir is tigh ceann-
airceach iad.

3 Uime sin, a mhic an duine, deas-
uich [b] dhuit féin airneis air son dol air
imrich: agus atharruich anns an là nan
sealladh; agus atharruichidh tu o d'
àite, gu àit eile nan sealladh; theag-
amh gu 'n dthoir iad fainear, ged is
tigh ceannairceach iad.

4 An sin bheir thu mach d' airneis
anns an latha nan sealladh, mar airneis
air son imrich: agus théid thu mach
san anmoch nan sealladh, mar iadsan
a théid a mach ann am bràighdean-
as.

5 Cladhaich trìd a' bhalla nan seall-
adh, agus thoir a mach trìd sin.

6 Nan

[a] *gnàth.*
[b] *ulluich.*

6 Nan fealladh giùlainidh tu air do
ghuaillibh, bheir thu mach anns an
dubh anmoch: còmhdaichidh tu d'
aghaidh air chor as nach faic thu an
làr: oir chuir mi thu *mar* chomhara
do thigh Ifraeil.
7 Agus rinn mi ceart mar a dh'
àithneadh dhomh: thug mi mach m'
airneis anns an latha, mar airneis air
fon braighdeanais, agus anns an an-
moch chladhaich mi trìd a' bhalla
le m' làimh; thug mi mach *i* fan
dubh-anmoch, agus ghiùlain mi air
mo ghuaillibh *i* nan fealladh.
8 Agus air maduinn thàinig focal
an Tighearna do m' ionnfuidh, ag
ràdh,
9 A mhic an duine, nach dubhairt
tigh Ifraeil, an tigh ceannairceach,
riut, Ciod a tha thu deanamh?
10 Abair thufa riu, Mar fo deir an
Tighearn Dia, Do 'n phrionnfadh ann
an Ierufalem *buinidh* an t-uallach *
fo, agus do thigh Ifraeil a ta nam
meafg.
11 Abair, Tha mis' ann am chomh-
ara dhuibh; amhuil a rinn mife, mar
fin nithear riu-fan: atharruichidh iad,
agus théid iad air falbh ann am
bràighdeanas.
12 Agus am prionnfadh a ta nam
meafg giùlainidh e air a ghuaillibh
anns an dubh-anmoch, agus théid e
mach: cladhaichidh iad trìd a' bhalla,
chum giùlain a mach d' a thrìd:
còmhdaichidh e 'aghaidh, air chor as
nach faic e 'n làr le 'fhùilibh.
13 Sgaoilidh mife fòs mo lìon air,
agus glacar ann am rib e; agus bheir
mi e gu Babilon, gu tìr nan Caldéach;
gidheadh cha 'n fhaic e i, ged fhaigh
e bàs an fin.
14 Agus fgapaidh mi ris gach aon
ghaoith na h-uile ta m' a thimchioll
g' a chòghnadh, agus 'uile bhuidhn-
ichean; agus tairngidh mi mach an
claidheamh nan déigh.
15 Agus aithnichidh iad gur mife
an Tighearn, 'nuair a fgapas mi iad
am meafg nan cinneach, agus a fgaoil-
eas mi iad feadh nan dùchannan.
16 Agus fàgaidh mi beagan fhear
dhiubh o 'n chlaidheamh, o 'n ghort,
agus o 'n phlàigh, a chum gu 'n cuir iad
an céill an uile ghràinealachdan am
meafg nan cinneach gus an dthig iad,
agus aithnichidh iad gur mife an
Tighearn.
17 Os barr, thàinig focal an Tigh-
earna do m' ionnfuidh, ag ràdh,
18 A mhic an duine, ith d' aran le
crith, agus òl d' uifge le ball-chrith
agus le cùram,
19 Agus abair ri fluagh na tìre,
Mar fo deir an Tighearn Dia mu
thimchioll luchd-àiteachaidh Ierufa-
leim, *agus* dùcha Ifraeil, Ithidh iad an
aran le cùram, agus òlaidh iad an
uifge le uamhas, air chor as gu 'm bi am
fearann fàs o 'n iomlan a ta ann, air
fon fòirneirt na muinntir fin uile ta
chòmhnuidh ann.
20 Agus nithear na bailtean a ta
air an àiteachadh fàs; agus bidh am
fearann falamh, agus aithnichidh fibh
gur mife an Tighearn.
21 Agus thàinig focal an Tigh-
earna do m' ionnfuidh, ag ràdh,
22 A mhic an duine, Ciod e an
gnàth fhocal fin *a th'* agaibh ann am
fearann Ifraeil, ag ràdh, Tha na laith-
ean air an sìneadh, agus dh' fhàill-
nich gach uile fhoillfeachadh.
23 Innis doibh uime fin, Mar fo
deir an Tighearn Dia, Bheir mife air
a' ghnàth-fhocal fo fgur, agus cha la-
bhair iad e ni 's faide mar ghnath-
fhocal ann an Ifrael: ach abair riu,
Tha na laithean aig làimh, agus buil
gach aon taifbein.
24 Oir cha bhi ni 's mò aon taifb-
ean faoin, no fàifneachd mhiodalach
an taobh a ftigh do thigh Ifraeil.
25 Oir mife Iehobhah, labhraidh
mi, agus am focal a labhras mi thig
gu crìch: cha dean e ni 's faide
maille; oir ann 'ur laithibhfe, O thigh
cheannaircich, labhraidh mife am fo-
cal, agus ni mi e, deir an Tighearn
Dia.
26 A rìs thàinig focal an Tigh-
earna do m' ionnfuidh, ag ràdh,
27 A mhic an duine, feuch tha tigh
Ifraeil ag ràdh, Tha 'n taifbean a tha
e faicinn

* *eallach.*

e faicinn airſon mhòran laithean, agus
tha e ri fàiſneachd mu na h-aimſiribh
fad as.
28 Air an aobhar ſin abair riu,
Mar ſo deir an Tighearn Dia, Cha
bhi aon do m' bhriathraibh-ſa air a
ſhineadh ni 's faide; ach am focal a
labhrasmi, coimhlionar e, deir an Tigh-
earn Dia.

C A I B. XIII.

AGUS thàinig focal an Tighearna
do m' ionnſuidh, ag ràdh,
2 A mhic an duine, dean fàiſn-
eachd an aghaidh fhàidhean Iſraeil, a
ta ri fàiſneachd, agus abair thuſa riu-
ſan a ta ri fàiſneachd as an cridhe
féin, Eiſdibhſe focal an Tighearna.
3 Mar ſo deir an Tighearn Dia, Is
deacair [a] do na fàidhean amaideach, a
ta leantuinn an ſpioraid féin, agus
nach faca ni ſam bith.
4 O Iſraeil, is coſmhuil d' fhàidh-
ean ris na ſionnachaibh anns na fàs-
aichibh.
5 Cha deachaidh ſibh ſuas a chum
nam bearnan, ni mò rinn ſibh ſuas
a' challaid do thigh Iſraeil, gu ſeaſ-
amh anns a' chath ann an là an Tigh-
earna.
6 Chunnaic iad dìomhanas, agus
rinn iad fioſachd bhréige, ag ràdh,
Deir an Tighearn; 'nuair nach do
chuir an Tighearn a mach iad: agus
thug iad *air dapinitb* earbſadh gu 'n
daingnicheadh iad am focal.
7 Nach faca ſibh ſealladh faoin, a-
gus nach do labhair ſibh fioſachd
bhréige, le bhi 'g ràdh, Thubhairt an
Tighearn, ge nach do labhair miſe?
8 Air an aobhar ſin, mar ſo deir an
Tighearn Dia, A chionn gu 'n do la-
bhair ſibh dìomhaмas, agus gu 'm faca
ſibh breugan, uime ſin feuch, tha miſe
'n 'ur n-aghaidh, deir an Tighearn Dia.
9 Agus bidh mo làmh air na fàidh-
ean a chi dìomhanas, agus a ta fàiſn-
eachd bhreug: cha bhi iad ann an
coimhthional mo ſhluaigh, ni mò bhios
iad air an ſgrìobhadh ann an ſgrìobh-
adh tighe Iſraeil, ni mò théid iad a
ſteach do fhearann Iſraeil; agus aithn-
ichidh ſibh gur mis an Tighearn Dia.
10 A chionn, eadhon a chionn gu
'n d' thug iad air mo ſhluagh dol air
ſeachran, ag ràdh, Sìth, agus gun sìth
a bhi ann: agus thog aon ſuas balla,
agus feuch, thilg càch thairis e le *crè*
gun oibreachadh.
11 Abair riu-ſan a ta 'ga thilgeadh
thairis le *crè* gun oibreachadh, gu 'n
tuit e: bidh fras thuilteach ann, agus
tuirlingidh ſibhſe, O chlacha-meallain
mòra, agus ni gaoth dhoinionnach a
bhriſeadh.
12 Feuch, nuair a thuiteas am balla,
nach abrar ruibh, C' àit' am bheil a'
chrè leis an do thilg ſibh thairis e?
13 Uime ſin, mar ſo deir an Tigh-
earn Dia, Ni miſe fòs a bhriſeadh le
gaoith dhoinionnaich ann am fheirg:
agus bidh fras thuilteach ann am
chorruich-ſa ann, agus clachan-meall-
ain mòra ann am dhian-fheirg d' a
mhilleadh.
14 Mar ſin briſidh mi sìos am
balla a thilg ſibh thairis le *crè* gun
oibreachadh, agus bheir mi nuas gu
làr e, air chor as gu 'n leigear ris a
bhunaite; agus tuitidh e, agus bidh
ſibhs' air 'ur milleadh na mheadhon:
agus aithnichidh ſibh gur miſe an Ti-
ghearn.
15 Mar ſo coimhlionaidh mi mo
chorruich air a' bhalla, agus orra-ſan
a thilg thairis e le *crè* gun oibreach-
adh, agus their mi ruibh, Cha 'n 'eil
am balla ann, ni mò ta iadſan a thilg
thairis e;
16 *Eadhon* fàidhean Iſraeil, a ta ri
fàiſneachd mu thimchioll Ieruſaleim,
agus a ta faicinn ſeallaidh siothaimh
dhi, agus gun sìth idir ann, deir an
Tighearn Dia.
17 Mar an ceudna, thuſa, a mhic
an duine, cuir d' eudann an aghaidh
nigheana do ſhluaigh, a ta ri fàiſn-
eachd as an cridhe féin, agus dean-ſa
fàisneachd nan aghaidh.
18 Agus abair, Mar ſo deir an
Tighearn Dia, Is truagh do na
mnaibh a ta fuaigheal chluaſag ris na
h-uile aſgailtibh, agus a' cur bhréid-
ean air ceann gach aoiſe, a dheanamh
ſeilg air anamaibh. An dean ſibh
ſealg air anamaibh mo ſhluaigh-ſa, a-
gus

[a] *anaoibhinn.*

gus an coimhid sibh beo anama na muinntir a ta teachd chugaibh?

19 Agus an truaill sibh mise measg mo shluaigh air son ghlacaidean eorna, agus air son mhirean arain, a mharbhadh nan anama nach bu chòir bàsachadh, agus a choimhead beo nan anama nach bu chòir a bhi beo, le 'r breugaibh do m' shluagh-sa, ta 'g éisdeachd 'ur breug?

20 Air an aobhar sin, mar so deir an Tighearn Dia, Feuch, tha mise an aghaidh 'ur cluasag, leis am bheil sibh an sin a' sealg air na h-anamaibh, a chum an glacadh; agus spionaidh mise iad o 'r gairdeinibh, agus leigidh mi air falbh na h-anama, na h-anama sin air am bheil sibh a sealg a chum an glacadh.

21 Reubaidh mi fòs 'ur bréidean, agus saoraidh mi mo shluagh a mach as 'ur làimh, agus cha bhi iad ni 's mò 'n 'ur làimh gu bhi air am fiadhach; agus aithnichidh sibh gur mise an Tighearn.

22 A chionn le breugaibh gu 'n d' rinn sibh cridhe an ionracain dubhach, agus nach d' rinn mise dubhach e; agus gu 'n do neartuich sibh lamhan an aingidh, chum nach pilleadh e o 'dhroch shlighe, le bhi gealltuinn beatha dha.

23 Uime sin cha 'n fhaic sibh dìomhanas ni 's mò, 's cha dean sibh fàisneachd tuille: oir saoruidh mise mo shluagh as 'ur làimh, agus bidh fios agaibh gur mi an Tighearn.

CAIB. XIV.

AN sin thàinig cuid do sheanairibh Israeil do m' ionnsuidh, agus shuidh iad mu m' choinneamh.

2 Agus thàinig focal an Tighearna do m' ionnsuidh, ag ràdh,

3 A mhic an duine, chuir na daoine so suas an ìodholan nan cridhe, agus chuir iad ceap-tuislidh an aingidheachd fa 'n comhair: an leig mise dhoibh air aon chor m' iarruidh?

4 Uime sin labhair riu, agus abair riu, Mar so deir an Tighearn Dia, Gach duine do thigh Israeil a chuireas suas 'ìodhola na chridhe, agus a chuireas ceap-tuislidh 'aingidheachd fa[a] chomhair, agus a thig chum an fhàidh, bheir mise Iehobhah freagradh dhasan a thig, dó réir lìonmhoireachd 'ìodhola.

5 A chum gu 'n glac mi tigh Israeil nan cridhe féin, a chionn gu bheil iad uile air dol air seachran uamsa trid an ìodhola.

6 Air an aobhar sin, abair ri tigh Israeil, Mar so deir an Tighearn Dia, Gabhaibh aithreachas, agus pillibh o 'r n-ìodholaibh, agus tionndaibh 'ur n-aghaidh air falbh o 'r n-uile ghràinealachdaibh.

7 Oir gach aon do thigh Israeil, no do na coigrich a ta air chuairt ann an Israel, a ta 'ga sgaradh féin uamsa, agus a' cur suas 'ìodhola na chridhe, agus a' cur ceap-tuislidh 'aingidheachd fa chomhair, agus a' teachd a chum fàidh, a dh' fhiosrachadh dheth mu m' thimchioll-sa; bheir mise Iehobhah freagradh dha leam féin.

8 Agus cuiridh mi mo ghnùis an aghaidh an duine sin, agus ni mi e na chomhara agus na ghnàth-fhocal, agus gearraidh mi as e o mheadhon mo shluaigh, agus aithnichidh sibh gur mise an Tighearn.

9 Agus ma bhios an fàidh air a mhealladh an tra labhair e ni, is mise an Tighearn a mheall am fàidh sin, agus sìnidh mi mo làmh a mach air, agus sgriosaidh mi e o mheadhon mo phobuill Israeil.

10 Agus giùlainidh iad peanas an eaceirte: bidh peanas an fhàidhe amhuil peanas an ti a dh' iarras *chuige*.

11 A chum nach dthéid tigh Israeil ni 's mò air seachran uamsa, agus nach bi iad air an truailleadh ni 's mò le 'n uile chiontaibh: ach a chum gu 'm bi iad dhomhsa nam pobull, agus mise dhoibh-san ann am Dhia, deir an Tighearn Dia.

12 Thàinig a rìs focal an Tighearna do m' ionnsuidh, ag ràdh,

13 A mhic an duine, tra pheacaicheas an tìr ann am aghaidh-sa le ciontachadh gu h-anmhor, an sin sìnidh mi a mach mo làmh oirre, agus brisidh mi

[a] *fa chombair an aghaidh.* Eabh.

mi lorg a h-arain, agus cuiridh mi
gort oirre, agus gearraidh mi uaipe
duine agus ainmhidh.

14 Ge do bhiodh an triuir fhear so,
Noah, Daniel, agus Job innte, *cha*
saoradh[a] iad *ach* an anama féin le 'm
fireantachd, deir an Tighearn Dia.

15 Ma bheir mise air beathaichibh
cronail dol trid an fhearainn, agus gu
mill iad e, air chor as gu 'm bi e fàs
ionnus nach feud neach air bith dol
troimhe air son a' bheathaich:

16 Ged bhiodh an triuir dhaoine so
ann, mar is beo mise, deir an Tigh-
earn Dia, cha saoradh iad aon chuid
mic no nigheana; shaoirteadh iad
féin a mhàin, ach bhiodh am fearann
fàs.

17 No ma bheir mise claidheamh
air an fhearann so, agus gu 'n abair
mi, A chlaidheimh, imich trid an
fhearainn; air chor as gu 'n gearr
mi duine agus ainmhidh a mach
as:

18 Ged bhiodh an triuir dhaoine so
ann, mar is beo mise, deir an Tigh-
earn Dia, cha saoradh iad aon chuid
mic no nigheanan, ach bhiodh a
mhàin iad féin air an saoradh.

19 No ma chuireas mi plàigh do 'n
fhearann sin, agus gu 'n dòirt mi mo
chorruich a mach air ann am fuil, a
chum duine agus ainmhidh a ghearr-
adh a mach as:

20 Ged bhiodh Noah, Daniel, agus
Iob ann, mar is beo mise, deir an
Tighearn Dia, cha saoradh iad aon
chuid mac no nighean: cha saoradh
iad ach an anama féin le 'm fìreant-
achd.

21 Oir mar so deir an Tighearn
Dia, Cia mo gu mòr tra chuireas mi
mo cheithir breitheanais ghoirt air
Ierusalem, an claidheamh, agus a'
ghort, agus am beathach cronail[b],
agus a' phlàigh, a chum duine agus
ainmhidh a ghearradh a mach as?

22 Gidheadh feuch, fàgar iarmad
ann, a bheirear a mach, mic agus ni-
gheanan: feuch, thig iad a mach
chugaibh, agus chi sibh an slighe, a-
gus an gnìomhara: agus gheibh sibh
co-fhurtachd a thaobh an uilc a thug
mise air Ierusalem, a thaobh gach ni
thug mi air.

23 Agus bheir iad co-fhurtachd
dhuibh, an uair a chi sibh an slighe,
agus an gnìomhara: agus aithnichidh
sibh nach ann gun aobhar a rinn mise
gach ni a rinn mi ann, deir an Tigh-
earn Dia.

C A I B. XV.

AGUS thàinig focal an Tighearna
do m' ionnsuidh, ag ràdh,

2 A mhic an duine, Ciod e am
fìon-chrann thar crann air bith eile,
ma bhios e mar ghéig a ta measg
chraobha na frìdhe?

3 An gabhar fiodh dheth gu obair
air bith a dheanamh? no an gabhar
cnag dheth a chrochadh soithich air
bith air?

4 Feuch, tilgear e san teine mar
chonnadh; loisgidh an teine a dhà
cheann, agus loisgear a mheadhon:
am bheil e iomchuidh air son cung-
aidh?

5 Feuch, 'nuair a bha e slàn cha
robh e iomchuidh air son cungaidh
sam bith: cia mò gu mòr is lugha
bhios e iomchuidh air son oibre, 'nuair
a chaitheas an tein' e, agus a bhios e
loisgte?

6 Air an aobhar sin, mar so deir an
Tighearn Dia, Mar am fìon-chrann
am measg chranna na frìdhe, a thug
mise do 'n teine mar chonnadh, is
amhluidh a bheir mi luchd-àiteach-
aidh Ierusaleim.

7 Agus cuiridh mi mo ghnùis nan
aghaidh: théid iad a mach o theine, 's
ni tein' eil' an caitheamh; agus aithn-
ichidh sibh gur mise an Tighearn, tra
chuireas mi mo ghnùis nan agh-
aidh.

8 Agus ni mi am fearann fàs, a
chionn gu 'n do chuir iad an gnìomh
ea-ceart, deir an Tighearn Dia.

C A I B. XVI.

ARIS thàinig focal an Tighearna
do m' ionnsuidh, ag ràdh,

2 A mhic an duine, thoir air Ieru-
salem a gràinealachdan aithneach-
adh.

3 Agus

[a] *tearfairgeadh, tearnadh.*

[b] *millteach*

3 Agus abair, Mar ſo deir an Tighearn Dia ri Ieruſalem, Tha do bhreth agus do dhùchas o thìr Chanaain, b' Amorach d' athair, agus bu bhan-Hiteach do mhàthair.

4 Agus air ſon do dhùchais, anns an là ſan d' rugadh thu, cha do ghearradh d' imleag, ni mò bha thu air do nigheadh ann an uiſge, gu d' mhaothachadh: cha do chrathadh ſalann ort, ni mò bha thu air do ſpaoileadh.

5 Cha do gabh sùil air bith truas diot, a chum aon ni dhiubh ſo a dheanamh dhuit, a dheanamh iochd ort; ach bha thu air do thilgeadh a mach anns a' mhachair ſgaoilte, le gràin do d' anam, air an là ſan d' rugadh thu.

6 Agus an tra ghabh miſe ſeachad dlù dhuit, agus a chunnaic mi thu ſalach ann ad fhuil féin, thuirt mi riut, *agus thu* ann ad fhuil, Mair beo; ſeadh, thuirt mi riut, *agus thu* ann ad fhuil, Mair beo.

7 Thug mi ort fàs lìonmhor mar chinneas na faiche, agus dh' fhàs thu lìonmhor agus mòr; agus thàinig thu gu ſgeudachadh maiſeach: tha do chìochan air an cumadh, agus do ghruag air fàs, an àite dhuit a bhi rùiſgte agus lom.

8 Agus 'nuair a ghabh miſe ſeachad dlù dhuit, agus a dh amhairc mi ort, feuch, bha d' aimſir na h-aimſir ghràidh, agus ſgaoil miſe mo ſgiort tharad, agus dh' fholuich mi do lomnochduiche: ſeadh mhionnuich mi dhuit, agus thionnſgain mi ann an coimhcheangal riut, deir an Tighearn Dia, agus bu leamſa thu.

9 An ſin nigh mi thu le h-uiſge, ſeadh nigh mi d' fhuil gu glan air falbh uait, agus dh' ung mi thu le h-ola.

10 Sgeudaich mi thu fòs le h-obair-ghréiſe, agus chuir mi brògan do chraiceann bruic ort, agus chrioſluich mi mu 'n cuairt thu le h-anart grinn, agus chòmhdaich mi thu le ſìde.

11 Rinn mi ſgiamhach thu mar an ceudna le h-uſgraichibh, agus chuir mi làmh-fhailean air do làmhan, agus ſlabhruidh mu d' mhuineal.

12 Agus chuir mi ſeud rìomhach air d' eudann, agus cluas-fhàinneachan ann ad chluaſaibh, agus crùn maiſeach air do cheann.

13 Mar ſo bha thu air do ſgeudachadh le h-òr agus le h-airgiod, agus bha do thruſgan a dh' anart grinn, agus do ſhìde, agus do obair ghréiſe, dhith thu cruineachd fìnealt agus mil, agus ola, agus bha thu ro-mhaiſeach, agus dh' fhàs thu ſuas gu bhi 'n ad rìoghachd.

14 Agus chaidh d' iomradh a mach am meaſg nan cinneach air ſon do mhaiſe: oir bha ſin iomlan trìd mo ſgèimh-ſa a chuir mi ort, deir an Tighearn Dia.

15 Ach chuir thu do dhòigh ann ad mhaiſe *féin*, agus rinn thu ſtrìopachas an aghaidh do chliu, agus dhòirt thu mach do ſtrìopachas air gach neach a ghabh ſeachad; bu leisſan thu.

16 Agus ghabh thu do d' chulaidhean, agus rinn thu maiſeach d' ionadan arda le dathaibh eag-ſamhluidh, agus rinn thu ſtrìopachas orra, mar nach robh, agus mar nach bi.

17 Ghabh thu fòs do ſheudan rìomhach do m' òr-ſa, agus do m' airgiod, a thug mi dhuit; agus rinn thu dhuit féin dealbhan dhaoine, agus chuir thu ſtrìopachas an gnìomh leo.

18 Agus ghabh thu do chulaidhean gréiſe; agus chòmhdaich thu iad: agus chuir thu m' ola-ſa, agus mo thùis mu 'n comhair.

19 Mo bhiadh fòs a thug mi dhuit, mìn-chruineachd, agus ola, agus mil, a thug mi dhuit r' an itheadh, chuir thu eadhon nan làthair iad mar bholadh [a] cùbhraidh.

20 Seadh cuideachd, deir an Tighearn Dia, ghabh thu do mhic agus do nigheanan a rug thu dhomhſa, agus iad ſo dh' ìobair thu dhoibh-ſan, gu bhi air an ſlugadh ſuas.

21 An ni ſuarrach dhuit, le d' ſtrìopachas, gu 'n do mharbh thu mo

chlann,

[a] *fhàile.*

chlann, agus gu 'n d' thug thu iad
feachad gu dol trìd *an teine* air an
fon-fan?

22 Agus ann ad uile ghràineal-
achdaibh agus ftrìopachais, cha do
chuimhnich thu laithean d' òige, tra
bha thu lomnochd agus rùifgte, air do
thruailleadh ann ad fhuil féin.

23 Agus tharladh, an déigh d'
aingidheachd uile, (Mo thruaighe,
mo thruaighe thu, deir an Tighearn
Dia,)

24 Gu 'n do thog thu dhuit féin
fòs ionad ard, agus gu 'n d' rinn thu
dhuit féin àite ard anns gach aon
fràid.

25 Thog thu ionad ard air gach
aon cheann do 'n t-flighe, agus thug
thu air do mhaife bhi air a fuathach-
adh, agus rinn thu coitchionn thu
féin do gach aon a ghabh feachad,
agus rinn thu do ftrìopachais lìon-
mhor.

26 Rinn thu fòs ftrìopachas leis na
h-Eiphitich, do coimhearfnaich, a ta
mòr am feòil, agus mheudaich thu do
ftrìopachais, a chum mife a bhrof-
nuchadh gu feirg.

27 Feuch uime fin, fhìn mife mo
làmh a mach tharad, agus lughdaich
mi do lòn, agus thug mi thairis thu
do thoil na muinntir leis am fuathach
thu, nigheana nam Philifteach, air am
bheil nàire do d' fhlighe mhi-chiataich.

28 Rinn thu mar an ceudna ftrìop-
achas leis na h-Afirianaich, a chionn
gu'n robh thu do-fhàthachadh [a]; feadh
rinn thu ftrìopachas leo, agus gidh-
eadh cha 'n fheudadh tu bhi air do
fhàthachadh.

29 Mheudaich thu os barr do
ftrìopachas ann am fearann Chanaain
gu ruig Caldéa, agus gidheadh cha
robh thu sàthaichte le fin.

30 Cionnus a ghlanas mife do
chridhe, deir an Tighearn Dia, 'nuair
a tha thu deanamh nan nithe fo uile,
obair mnà neo-gheanmnuidh la-
darna?

31 'Nuair a tha thu togail d' ion-
aid aird an ceann gach flighe, agus a'
deanamh d' àite aird anns gach aon
fràid, agus nach robh thu cofmhuil ri
ftrìopaich, (a chionn nach b'fhiù leat
tuarafdal;)

32 Ach ri mnaoi a ni adhaltrus, a
ghabhas coigrich an àit' a fir féin.

33 Do na h-uile ftrìopachaibh
bheir iad duais, ach tha thufa a' toirt
duaife do d' leannanaibh uile, agus 'g
an tuarafdalachadh, a chum gu 'n
dthigeadh iad chugad gach aon taobh
air fon do ftrìopachais.

34 Agus tha thufa dìreach an agh-
aidh *nòis* [b] mhnathan eile ann ad
ftrìopachas, am feadh nach 'eil aon
neach a' dol air do dhéigh a dhean-
amh ftrìopachais: is ann a tha thu a'
toirt duaife feachad, agus gun duais
air bith 'ga toirt duit: uime fin tha
thu nan aghaidh ann ad *nòs*.

35 Air an aobhar fin, O a ftrìop-
ach, cluinn focal an Tighearna.

36 Mar fo deir an Tighearn Dia,
A chionn gu 'n robh do fhalchar air a
dhòrtadh a mach, agus do lomnochd-
uich' air a leigeadh ris trìd do ftrìop-
achais le d' leannanaibh, agus le uile
ìodholaibh do ghràinealachdan, agus
le fuil do chloinne, a thug thu
dhoibh;

37 Feuch uime fin, cruinnichidh
mife d' uile leannain, leis an do ghabh
thu sòlas, agus na h-uile do 'n d' thug
thu gràdh, leis na h-uile do 'n d' thug
thu fuath: ni mi eadhon an cruinn-
eachadh mu 'n cuairt ann ad aghaidh,
agus leigidh mi ris doibh do lom-
nochduich', a chum gu faic iad do
lomnochduich' uile.

38 Agus bheir mi breith ort mar a
bheirear breith air mnaibh a bhrifeas
an ceangal-pòfaidh, agus a dhòirteas
fuil, agus bheir mi peanas [c] ort ann an
corruich agus ann an eud.

39 Agus bheir mi thu fòs d' an
làimh, agus tilgidh iad sìos d' àite
cnocach, agus brifidh iad sìos d' ion-
adan arda; buinidh iad dhiot mar an
ceudna d' eudach, agus glacaidh iad
do fheuda rìomhach, agus fàgaidh iad
thu lomnochd agus rùifgte.

40 Bheir iad mar an ceudna buidh-
eann a nìos a' d' aghaidh, agus clach-
aidh iad thu le clachaibh, agus sàth-
aidh iad romhad [d] an claidhmhean.

41 Agus

[a] *do-fhàfuichte.* [b] *cleachd.* [c] *fuil.* Eabh. [d] *trombad.*

41 Agus loisgidh iad do thighean le
teine, agus ni iad breitheanas ort ann
an sealladh mhòran bhan: agus bheir
mise ort sgur do striopachas, agus cha
d'thoir thu tuarasdal seachad ni 's
mò.

42 Mar sin bheir mi air mo chorr-
uich riut fois a ghabhail, agus imich-
idh m' eud uait, agus gabhaibh mi
fois, agus cha bhi fearg orm ni 's
mò.

43 A chionn nach do chuimhnich
thu laithean d' òige, agus gu 'n do
chuir thu corruich ormsa anns na
nithibh so uile; feuch uime sin, diol-
aidh mise fòs do shlighe air do cheann,
deir an Tighearn Dia, agus cha chuir
thu 'n gnìomh an neo-ghloine so thar
d' uile ghràinealachdaibh.

44 Feuch gach aon a ghnàthaich-
eas sean-fhocla, gnàthaichidh an sean-
fhocal so a' d' aghaidh, ag ràdh, Mar
a' mhàthair is amhluidh an nighean.

45 Is tusa nighean do mhàthar, leis
am fuathach a fear agus a clann, agus
is tu piuthar do pheathraichean, leis
am b' fhuathach am fir agus an clann:
bu bhan-Hiteach 'ur màthair, agus b'
Amorach 'ur n-athair.

46 Agus is i do phiuthar a 's sine
Samaria, i féin agus a nigheanan a ta
chòmhnuidh aig do làimh chlì: agus
do phiuthar a 's òige, ta chomhnuidh
aig do làimh dheis, Sodom agus a
nigheanan.

47 Gidheadh nan slighe-san cha do
ghluais thu, ni mò rinn thu do-réir an
gràinealachdan: ach mar gu 'm bu ni
ro-bheag sin, bha thu air do thruaill-
eadh ni 's mò na iadsan ad uile shligh-
ibh.

48 Mar is beo mise, deir an Tigh-
earn Dia, cha d' rinn do phiuthar So-
dom, i féin no a nigheanan, mar a
rinn thusa, thu féin agus do nighean-
an.

49 Feuch b' i so aingidheachd do
pheathar Sodom; uabhar, sàth arain,
agus pailteas dìomhanais, bha innte
féin agus na nigheanaibh; ni mò a
neartuich i làmh a' bhochd agus an
fheumannaich.

50 Agus bha iad ardanach, agus
thuir iad gràinealachd an gnìomh ann
am fhianuis-sa: uime sin thug mi
air falbh iad mar a chunnacas ceart
domh.

51 Ni mò chuir Samaria an gnìomh
leth do lochdan-sa; ach mheudaich
thu do ghràinealachda ni 's mò na
iadsan, agus dh' fhìreanaich thu do
pheathraichean ann ad uile ghràineal-
achdan a rinn thu.

52 Thusa fòs a thug breith air do
pheathraichean, giùlain do nàire féin,
air son do lochdan a chuir thu 'n
gnìomh ni 's gràineile na iadsan: tha
iadsan ni 's ionraice na thusa: seadh,
bi thusa air do mhasladhadh fòs, agus
giùlain do nàire, chionn gu 'n d' fhìr-
eanaich thu do pheathraichean.

53 An uair a philleas mi air a h-ais
am braighdeanas, bruid Shodoim a-
gus a cuid nighean, agus bruid Sha-
maria agus a cuid nighean, an sin
bheir mi air a h-ais bruid do bhraighd-
ean-sa nam meadhon:

54 A chum gu 'n giùlain thu do
nàire féin, agus gu 'm bi thu air do
mhasladhadh anns gach ni a rinn thu,
a chionn gu 'n robh thu toirt doibh
co-fhurtachd.

55 'Nuair a philleas do pheathr-
aichean, Sodom agus a cuid nighean,
gus an ceud staid, agus a philleas Sa-
maria 's a cuid nighean gus an ceud
staid, an sin pillidh tusa agus do nigh-
eana gu 'r ceud staid.

56 Oir cha robh luadh air do
phiuthar Sodom ann do bheul ann an
latha d' uabhair,

57 Mu 'n robh d' aingidheachd
air a leigeadh ris, agus àm do mhas-
laidh, mar nigheanan Shiria, agus na
h-uile bha dlù dhi, agus mar nighean-
an nam Philisteach a bha mu 'n cuairt
duit.

58 Giùlainidh tu do neo-ghloine a-
gus do ghràinealachdan, deir an Ti-
ghearn.

59 Oir mar so deir an Tighearn
Dia, Buinidh mise riutsa amhuil mar
a rinn thu féin, a rinn tàir air na
mionnan, ann am briseadh a' choimh-
cheangail.

60 Gidheadh cuimhnichidh mi mo
choimhcheangal riut ann an laithibh
d' òige, agus daingnichidh mi riut
coimhcheangal sìorruidh.

61 An sin cuimhnichidh tu do
shlighe

fhlighe, agus bidh 'nàir' ort, 'nuair a
ghabhas tu do pheathraichean, do phiu-
thar a's sine agus a's òige: agus bheir
mise dhuit iad mar nigheanan, ach
cha 'n ann air son do choimhcheang-
ail-sa.
62 Agus daingnichidh mi mo
choimhcheangal riutsa, agus bidh fios
agad gur mi an Tighearn:
63 A chum gu 'n cuimhnich thu,
agus gu 'm bi nàir' ort, agus nach
fhosgail thu do bheul gu bràth ni 's
mò, do bhrìgh do nàire, 'nuair a bhios
mise rèidh riut air son gach uile ni a
rinn thu, deir an Tighearn Ieho-
bhah.

C A I B. XVII.

AGUS thàinig focal an Tighearna
do m' ionnsuidh, ag ràdh,
2 A mhic an duine, cuir a mach
toimhseachan, agus labhair cosamhl-
achd ri tigh Israeil;
3 Agus abair, Mar so deir an Ti-
ghearn Dia, Thàinig fìr eun [a] mòr,
le sgiathaibh mòra, 's le altaibh làidir,
làn do chlùmhach [b], air an robh dath-
an eug-samhluidh, gu Lebanon, agus
ghabh e am meangan a b' airde do 'n
t-seudar.
4 Ghearr e dheth barr a' mheang-
ain òig, agus thug e leis e gu tìr mal-
airt; shuidhich e ann am baile chean-
nuichean e.
5 Ghabh e fòs do shìol an fhear-
ainn, agus chuir e ann am machair
thorraich e; shuidhich e ri taobh uisg-
eacha mòra *e*, 'ga chur mar chrann
seilich.
6 Agus dh' fhàs e, agus thàinig e
gu bhi na fhìneamhuinn leathain, air
bheag airde, aig an robh a gheugan
air an tionndadh ris [an fhìr eun], a-
gus aig an robh a fhreumhan fuidhe:
mar sin dh' fhàs e na fhìneamhuinn,
agus thug e mach geugan, agus chuir
e uaithe meangain.
7 Bha fòs ann fìr-eun mòr eile, le
sgiathaibh mòra, agus mòran clùmh-
aich; agus feuch, chlaon an fhìn-
eamhuinn so a freumha d'a ionnsuidh,
agus thilg i mach a geugan chuige,
chum bhi air a h-uisgeacha le claisibh
a' ghàraidh.
8 Bha i air a suidheachadh ann am
fearann maith, ri taobh uisgeacha
mòra, chum gu 'n dthugadh i mach
geugan, agus gu 'n giùlaineadh i tor-
adh, agus gu 'm biodh i na deagh
fhìneamhuinn.
9 Abair thusa, Mar so deir an Ti-
ghearn Dia, Am bi piseach oirre?
nach spìon e nìos a freumha, agus
nach gearr e dhi a toradh, air chor as
gu 'n searg e? crìonaidh i ann an uile
dhuillibh a ceud-fhàis, eadhon gun
chumhachd mòr, no mòran sluaigh,
d' a spìonadh a nìos as a freumhaibh.
10 Seadh, feuch, an déigh a suidh-
eachadh, am bi piseach oirre? nach
searg i gu tur an tra bheanas a'
ghaoth an ear rithe? crìonaidh i anns
na claisibh anns an d' fhàs i.
11 Os barr thàinig focal an Tigh-
earna do m' ionnsuidh, ag ràdh,
12 Abair a nis ris an tigh chean-
nairceach, Nach 'eil fios agaibh ciod
is ciall do na nithibh so? Innis doibh,
Feuch, tha rìgh Bhabiloin air teachd
gu Ierusalem, agus ghlac e a rìgh, a-
gus a prionnsachan, agus thug e leis
iad gu Babilon.
13 Agus ghabh e do shliochd an
rìgh, agus rinn e coimhcheangal ris,
agus ghabh e mionnan deth: ghlac e
fòs daoine cumhachdach na tìre:
14 A chum gu 'm biodh an dùth-
aich suarrach, ionnus nach togadh i
suas i féin; ach le 'choimhcheangal
a choimhead gu seudadh i seasamh.
15 Ach rinn e ar a mach na agh-
aidh-san le 'theachdairean a chur do
'n Eiphit, a chum gu 'n dthugadh iad
dha eich agus mòran sluaigh: an éirich
gu maith dha? an dthéid esan a ni na
nithe so as? no am bris e 'n coimh-
cheangal agus an saorar e?
16 Mar is beo mise, deir an Tigh-
earn Dia, gu deimhin anns an àit *am
bheil còmhnuidh* an rìgh a rinn rìgh
dheth-san, neach a rinn e tàir air a
mhionnan, agus a bhris e a chumhn-
anta, *eadhon* leis-san, ann am meadhon
Bhabiloin, gheibh e bàs.

17 Ni

[a] *iolair.* [b] *chlùimh.*

17 Ni mò ni Pharaoh feum dha, le
'fheachd-cumhachdach, is le 'bhuidh-
einn mhòir, anns a' chogadh, le torr a
thilgeadh fuas, agus le daingnichean a
thogail, a ghearradh as mhòrain an-
ama.
18 A chionn gu 'n d' rinn e tàir
air na mionnan, leis a' choimhcheangal
a bhrifeadh, (an uair a thug e, feuch,
a làmh), agus a rinn e na nithe fo
uile, cha dthéid e as.
19 Uime fin, mar fo deir an Tigh-
earn Dia, Mar is beo mife, mo
mhionnan air an d' rinn e tàir, agus
mo choimhcheangal a bhris e, eadhon
fin dìolaidh mife air a cheann féin.
20 Agus fgaoilidh mi mo lìon air,
agus glacar ann am rib e, agus bheir
mi e gu Babilon, agus tagraidh mi ris
an fin air fon a chionta, leis an do
chiontaich e ann am aghaidh.
21 Agus tuitidh na theich chuige,
le 'uile fheachd, leis a' chlaidheamh;
agus bidh iadfan a dh' fhàgar air an
fgapadh ris na h-uile gaoith: agus
aithnichidh fibh gur mife Iehobhah a
labhair e.
22 Mar fo deir an Tighearn Dia;
Gabhaidh mife mi féin do 'n ghéig
a's airde do 'n t-feudar ard, agus
fuidhichidh mi *e;* gearraidh mi o
bharr a mheangana òga, geug
mhaoth, agus fuidhichidh mi air fliabh
uachdrach agus ard *i.*
23 Air fliabh ard Ifraeil fuidhichidh
mi i: agus togaidh i fuas a geug, a-
gus bheir i mach toradh, agus fàfaidh
i na feudar rioghail: agus fuipe gabh-
aidh na h-uile eunlaith do gach aon
iteig còmhnuidh: fuidh dhubhar a
geug, nì iad comhnuidh.
24 Agus aithnichidh uile chraobha
na machrach gu 'n d' thug mife Ie-
hobhah nuas an crann ard, gu 'n d'
ardaich mi an crann ìofal, gu 'n d'
rinn mi an crann uaine tioram, agus
gu 'n d' thug mi air a' chrann thio-
ram bhi fuidh bhlàth: mife Iehobhah
làbhair, agus ni mi e.

CAIB. XVIII.

THA'INIG focal an Tighearna do
mi' ionnfuidh a rìs, ag ràdh,
2 Ciod is ciall duibh, gu bheil fibh
a' gnàthachadh an t-fean-fhocail fo do
thaobh dùcha Ifraeil, ag ràdh, Dh'
ith na h-aithrichean dearcan fearbha,
agus tha déifinn air fiaclaibh na
cloinne?
3 Mar is beo mife, deir an Tigh-
earn Dia, cha bhi aobhar agaibh an
fean-fhocal fo a ghnàthachadh ni 's
mò ann an Ifrael.
4 Feuch is leamfa na h-uile h-an-
ama; mar is leam anam an athar, is
amhluidh is leam anam a' mhic: an
t-anam a chiontaicheas gheibh e fin
bàs.
5 Ach ma bhios duine ionraic, a-
gus gu 'n dean e an ni a bhios dligh-
each agus ceart,
6 Mur d' ith e air na fléibhtibh, ni
mò thog e fuas a fhùilean ri ìodhol-
aibh tighe Ifraeil, no thruaill e bean a
choimhearfnaich, no thàinig e dlù do
mhnaoi a chuireadh air leth,
7 Agus mur do fhàraich e aon
neach, *ach* gu 'n d' thug e 'gheall air
ais do 'n fheumannach; mur do
chreach e neach air bith le fòirneart,
ach gu 'n d' thug e aran do 'n acrach,
agus gu 'n do chòmhduich e 'n lom-
nochd le eudach,
8 Efan nach d' thug feachad air
ocar, ni mò ghabh aon riadh, a chum
air a h-ais a làmh o ea-ceart, a rinn
breitheanas fìor eadar duine agus
duine,
9 A ghluais ann am reachdaibh, a-
gus a choimhid mo bhreitheanais, gu
fìrinn a chur an gnìomh; fo an duine
ionraic, mairidh efan gu deimhin beo,
deir an Tighearn Dia.
10 Ma ghineas e mac a bhios na
fhlaidear, agus na fhear-dòrtaidh-fola,
a ni sàmhuil aon ni dhiubh fo,
11 Agus nach dean aon dheth na
dleafnais fin, ach a dh' ith eadhon air
na fléibhtibh, agus a thruaill bean a
choimhearfnaich,
12 A fhàruich am bochd agus am
feumannach, a chreach le fòirneart,
nach d' thug air ais an geall, agus a
thog fuas a fhùilean ri ìodholaibh, a
chuir an gnìomh gràinealachd,
13 A thug feachad air ocar, agus a
ghabh riadh: am mair e 'n fin beo?
cha mhair e beo: rinn e na gràineal-
achdan fo uile, gheibh e gu cinnteach
bàs, bidh 'fhuil air féin.

14 Agus

14 Agus feuch, ma ghineas esan
mac a chi na h-uile lochdan a rinn
'athàir, agus gu 'n dthoir e fainear, a-
gus nach dean e an leithide ;
15 Nach d' ith air na slèibhtibh, ni
mò thog e suas a shùilean ri ìodhol-
aibh tighe Israeil, nach do thruaill
bean a choimhearsnaich,
16 Nach do shàruich aon neach,
nach do ghléidh an geall, ni mò
chreach le h-ainneart, *ach* a thug
'aran do 'n acrach, agus a chòmhd-
aich an lomnochd le eudach,
17 A thog a làmh o na bochdaibh,
nach do ghabh ocar na riadh, a rinn
mo bhreitheanais, a ghluais ann am
reachdaibh ; cha 'n fhaigh esan bàs
air son aingidheachd 'athar, mairidh e
gu cinnteach beo.
18 'Athair, a chionn gu 'n do
shàruich e gu h-an-iochdmhor, gu 'n
do chreach e 'bhràthair le fòirneart,
agus gu 'n d' rinn e an ni sin nach
robh ceart ann am measg a shluaigh,
feuch, bàsaichidh eadhon esan na ain-
gidheachd.
19 Gidheadh a deir sibhse, C' ar
son ? nach 'eil am mac a' giùlan ain-
gidheachd an athair ? An uair a rinn
am mac an ni sin a tha dlitheach agus
ceart, a ghléidh se mo reachdan-sa
uile, agus a rinn e iad, mairidh e gu
cinnteach beo.
20 An t-anam a chiontaicheas,
gheibh esan bàs : cha ghiùlain am
mac aingidheachd an athar, ni mò
ghiùlaineas an t-athair aingidheachd
a' mhic : bidh fireantachd an fhìrein
air féin, agus aingidheachd an aingidh
air féin.
21 Ach ma philleas an t-aingidh o
'uile aingidheachd a rinn e, agus gu 'n
coimhid e mo reachdan-sa, agus gu 'n
dean e an ni sin a tha dligheach agus
ceart, mairidh e beo, cha 'n fhaigh e
bàs.
22 'Uile lochdan a chuir e 'n
gnìomh, cha bhi iad air an cuimhn-
eachadh dha : na fhìreantachd a chuir
e 'n gnìomh mairidh e beo.
23 Am bheil tlachd air bith agam-
sa ann am bàs an aingidh ? deir an
Tighearn Dia : nach ann *a ta mo
thlachd* na philleadh o' shlighe, agus gu
'm biodh e beo ?
24 Ach an uair a philleas am firean
air falbh o 'fhìreantachd, agus a
chuireas e 'n gnìomh aingidheachd, a'
deanamh do réir nan uile ghràineal-
achdan a ni an t-aingidh, am mair e
beo ? air 'uile fhìreantachd a rinn e
cha bhi iomradh : na chionta a
chiontaich e, agus na pheacadh a
pheacaich e, annta-san gheibh e bàs.
25 Gidheadh a deir sibhse, Cha 'n
'eil slighe an Tighearna cothromach.
Eisdibh a nis, O thigh Israeil, nach 'eil
mo shlighean-sa cothromach ? nach
'eil 'ur slighean-sa neo-chothrom-
ach ?
26 'Nuair a chlaonas am firean o
'fhìreantachd, agus a chuireas e 'n
gnìomh aingidheachd, agus a bhàs-
aicheas e innte ; air son 'aingidheachd
a rinn e gheibh e bàs.
27 A rìs, an uair a philleas an t-
aingidh air falbh o 'aingidheachd a
chuir e 'n gnìomh, agus a ni e an ni a
ta dligheach agus ceart, gléidhidh se
'anam beo.
28 A chionn gu bheil e toirt fain-
ear, agus a' pilleadh o 'uile lochdaibh
a chuir e 'n gnìomh, mairidh e gu
cinnteach beo, cha 'n fhaigh e bàs.
29 Gidheadh deir tigh Israeil, Cha
'n 'eil slighe an Tighearna cothrom-
ach. O thigh Israeil, Nach 'eil mo
shlighean-sa cothromach ? nach 'eil 'ur
slighean-sa neo-chothromach ?
30 Uime sin bheir mise breith
oirbh, O thigh Israeil, gach aon do
réir a shlighe, deir an Tighearn Dia :
Gabhaibh aithreachas, agus pillibh o
'r n-uile chiontaibh ; mar sin cha dean
aingidheachd 'ur milleadh.
31 Tilgibh uaibh 'ur n-uile chionta
leis an do chiontaich sibh, agus dean-
aibh dhuibh féin cridhe nuadh, agus
spiorad nuadh ; oir c' ar son a bhàs-
aicheas sibh, O thigh Israeil ?
32 Oir cha 'n 'eil tlachd agams'
ann am bàs an ti a bhàsaicheas, deir
an Tighearn Dia : uime sin, pillibhse,
agus mairibh beo.

C A I B. XIX.

OS barr tog thusa suas tuireadh air
son uachdarana Israeil,
2 Agus abair, Ciod i do mhàthair ?
leòmhann boirionn : luidh i sìos am

measg leòmhann, dh' àltruim i a
cuileanan am measg lèomhann òga.
3 Agus thog i suas aon d'a cuilean-
aibh: dh' fhàs e na lèomhann òg, a-
gus dh' fhoghluim e breth air a'
chreich, shluig e daoine.
4 Chuala na cinnich fòs iomradh
air, ghlacadh e nan slochd, agus thug
iad e le slabhruidhibh gu tìr na h-
Eiphit.
5 A nis, 'nuair a chunnaic i gu 'n
d' fhàs i lag, agus gu'n do chaill i a
dòchas, an sin ghabh i aon eile d'a
cuileanaibh, *agus* rinn i lèomhann òg
dheth.
6 Agus dh' imich e sìos agus suas
am measg nan leòmhann, dh' fhàs e
na leòmhann òg, agus dh' fhoghluim
e breth air a' chreich, shluig e daoine.
7 Agus thug e fainear an àrois, a-
gus chuir e fàs am bailtean; agus bha
'n dùthaich fuidh uamhas, agus an làn
a bha innte, le fuaim a bheucaich.
8 An sin chruinnich na cinnich na
aghaidh air gach taobh, o na mòr-
roinnibh, agus sgaoil iad an lìon thai-
ris: ghlacadh e nan slochd.
9 Agus chuir iad e 'n sàs ann an
slabhruidhean, agus thug iad e gu
rìgh Bhabiloin; thug iad e gu
daingnichean, a chum nach cluinnt-
eadh tuille a ghuth air slèibhtibh Is-
raeil.
10 Tha do mhàthair cosmhuil ri
fìneamhuinn, suidhichte taobh nan
uisgeachan, bha i torrach, agus làn do
gheugaibh, a thaobh mhòrain uisg-
eacha.
11 Agus bha slata làidir aice, air
son slata-riaghlaidh nan uachdaran;
agus bha a h-airde togta suas am
measg nan tiugh-gheugan, agus chun-
nacas i na h-airde féin am measg lìon-
mhoireachd a meanglan.
12 Ach spìonadh a nìos i ann an
corruich, thilgeadh i sìos gu làr, agus
thiormaich a' ghaoth 'n ear suas a
meas: bhriseadh agus sheargadh a
slata làidir, loisg an teine iad.
13 Agus a nis, tha i air a suidh-
eachadh anns an fhàsach, ann am
fearann tioram tartmhor.
14 Agus tha teine air dol a mach
o shlait do geugaibh, a loisg a meas,
air chor as nach 'eil slat làidir air bith
aice gu bhi na slait gu riaghladh. Is
tuireadh so, agus bidh e na thuir-
eadh.

CAIB. XX.

AGUS tharladh anns an t-seachd-
amh bliadhna, sa' chùigeamh
mìos, *air* an deicheamh *là* do 'n mhìos,
gu 'n d' thàinig cuid àraid do shean-
airibh Israeil a dh' fhiosrachadh o 'n
Tighearn, agus shuidh iad ann am
làthair-sa.
2 An sin thàinig focal an Tigh-
earna do m' ionnsuidh, ag ràdh,
3 A mhic an duine, labhair ri sean-
airibh Israeil, agus abair riu, Mar so
deir an Tighearn Dia, An d' thàinig
sibh a dh' fhiosrachadh dhiomsa? mar
is beo mise, deir an Tighearn Dia, cha
bhi mi air m' fhiosrachadh leibh.
4 An tagair thusa as an leth, a
mhic an duine, an tagair thu? thoir
orra gu 'n aithnich iad gràinealachdan
an aithrichean.
5 Agus abair riu, Mar so deir an
Tighearn Dia, Anns an là san do
roghnaich mise Israel, agus anns an do
thog mi suas mo làmh air son sliochd
tighe Iacoib, agus anns an d' rinn mi
mi féin aithnichte dhoibh ann an tìr
na h-Eiphit, 'nuair a thog mi suas mo
làmh air an son, ag ràdh, Is mi Ieho-
bhah 'ur Dia:
6 Anns an là san do thog mi suas
mo làmh air an son, gu 'n toirt a
mach a tìr na h-Eiphit, a chum fear-
ainn a rannsaich mi mach dhoibh, a'
sruthadh le bainne agus le mil, a's e
glòir na h-uile fhearainn:
7 An sin thuirt mi riu, Tilgibh
uaibh, gach aon neach gràinealachdan
a shùl, agus na truaillibh sibh féin le
ìodholaibh na h-Eiphit: is mise Ieho-
bhah 'ur Dia.
8 Ach chathaich iad ann am agh-
aidh, agus cha 'n éisdeadh iad rium:
cha do thilg iad uatha, gach aon
gràinealachdan an sùl, ni mò thréig
iad ìodhola na h-Eiphit: an sin thu-
bhairt mi, Dòirtidh mi mo chorruich
orra, a chum gu 'n coimhlion mi m'
fhearg nan aghaidh ann am meadhon
tìre na h-Eiphit.
9 Ach dh' oibrich mi air sgàth m'
ainme féin, a chum nach truaillteadh

e 'n làthair nan cinneach am measg an robh iad, agus an d' rinn mi mi *féin* aithnichte dhoibh nan sealladh, le 'n toirt a mach a tìr na h-Eiphit.

10 Air an aobhar sin thug mi orra dol a mach a talamh na h-Eiphit, agus thug mi iad a chum an fhàsaich.

11 Agus thug mi dhoibh mo reachdan, agus dh' fhoillsich mi dhoibh mo bhreitheanais, iad sin mo choimhlionas duine sam bith, mairidh e beo annta.

12 A thuille air so fòs, thug mi dhoibh mo shàbaidean, gu bhi nan comhara eadar mise agus iadsan, a chum gu 'n aithnicheadh iad gur mi an Tighearn a ta 'gan naomhachadh.

13 Ach rinn tigh Israeil ceannairc am aghaidh anns an fhàsach: cha do ghluais iad ann am reachdaibh, agus rinn iad tàir air mo bhreitheanais, nithe ma ni duine, mairidh e beo annta; agus mo shàbaidean thruaill iad gu mòr: an sin thubhairt mi gu 'n dòirtinn mo chorruich a mach orra san fhàsach, a chum an caitheamh.

14 Ach dh' oibrich mi air sgàth m' ainmé féin, a chum nach biodh e air a thruailleadh am measg nan cinneach, a thug mi iad a mach nan sealladh.

15 Ach fòs thog mi suas mo làmh dhoibh anns an fhàsach, nach dthugainn iad do 'n fhearann a thug mi dhoibh, a' sruthadh le bainne agus mil, a's e glòir nan uile fhearann:

16 A chionn gu 'n d' rinn iad tàir air mo bhreitheanais, agus nach do ghluais iad ann am reachdaibh, ach gu 'n do thruaill iad mo shàbaidean: oir chaidh an cridhe 'n déigh an iodhola.

17 Gidheadh choigil mo shùil iad o 'n sgrios, ni mò rinn mi crioch a thoirt orra san fhàsach.

18 Ach thubhairt mi r' an cloinn anns an fhàsach, Na gluaisibhse ann an reachdaibh 'ur n-aithrichean, ni mò ghléidheas sibh am breitheanais, no thruailleas sibh sibh féin le 'n iodholaibh.

19 Is mise an Tighearn 'ur Dia; gluaisibh ann am reachdaibh, agus coimhdibh mo bhreitheanais, agus deanaibh iad:

20 Agus naomhaichibh mo shàbaidean; agus bidh iad nan comhara eadar mise agus sibhse, a chum gu 'm bi fios agaibh gur mise an Tighearn bhur Dia.

21 Gidheadh, rinn an clann ar a mach [a] ann am aghaidh: cha do ghluais iad ann am reachdaibh, ni mò choimhid iad mo bhreitheanais gu 'n deanamh, nithe ma ni duine, mairidh e beo annta; thruaill iad mo shàbaidean: an sin thubhairt mi gu 'n dòirtinn a mach mo chorruich orra, chum gu 'n coilionainn m' fhearg nan aghaidh anns an fhàsach.

22 Gidheadh, phill mi air a h-ais mo làmh, agus rinn mi air sgàth m' ainme féin, a chum nach biodh e air a thruailleadh ann am fianuis nan cinneach, a thug mi iad a mach nan sealladh.

23 Thog mi suas mo làmh dhoibh fòs anns an fhàsach, gu 'n sgapainn iad am measg nan cinneach, agus gu 'n sgaoilinn iad feadh nan dùchannan;

24 A chionn nach do chuir iad an gnìomh mo bhreitheanais, ach gu 'n d' rinn iad tàir air mo reachdaibh, agus gu 'n do thruaill iad mo shàbaidean, agus gu 'n robh an sùilean an déigh iodholan an aithrichean.

25 Uime sin thug mi dhoibh fòs reachdan nach robh maith, agus breitheanais leis nach biodh iad beo.

26 Agus thruaill mi iad nan tiolacaibh féin, le iad a bhi toirt air gach ni dh' fhosglas a' bhrù dol trìd *an teine*, onnus gu 'n deanainnse fàs iad, a chum gu 'n aithnicheadh iad gur mi an Tighearn.

27 Uime sin, a mhic an duine, labhair ri tigh Israeil, agus abair riu, Mar so deir an Tighearn Dia, Ann an so fòs mhasluich 'ur 'n aithrichean mise, le ciontachadh gu trom ann am aghaidh.

28 'Nuair a thug mi iad do 'n fhearann, mu 'n do thog mi suas mo làmh gu 'n dthugainn doibh e, an sin chunnaic

[a] *ceannairc.*

faic iad gach cnoc ard, agus na h-uile
chranna tiugha, agus dh' ìobair iad an
sin an ìobairtean, agus an sin thug iad
seachad an tabhartasa fuathach: an sin
fòs rinn iad am boladh cùbhraidh, a-
gus dhòirt iad a mach an ìobairtean
dibhe.

29 An sin thuirt mi riu, Ciod an
t-ionad ard gus am bheil sibh [a] dol?
agus goirear Bamah mar ainm air gus
an là an diugh.

30 Uime sin, abair ri tigh Israeil,
Mar so deir an Tighearn Dia, Am
bheil sibh air 'ur truailleadh do réir
nòis bhur n-aithrichean? agus am
bheil sibh a' cur strìopachais an gnìomh
do réir an gràinealachda-san?

31 Oir an uair a tha sibh a' toirt
seachad 'ur tiolaca, 'nuair a tha sibh
a' toirt air 'ur mic dol trid an teine,
tha sibh 'g 'ur truailleadh féin le 'r n-
uil' ìodholaibh, eadhon gus an là an
diugh: agus an d'thoir mise freag-
radh dhuibh, O thigh Israeil? Mar
is beo mi, deir an Tighearn Dia, cha
dthoir mi dhuibh freagradh.

32 Agus an ni sin a ta teachd 'n 'ur
n-aire cha tachair air chor air bith,
ann am bheil sibh ag ràdh, Bidh sinn
mar na cinnich, mar mhuinntir nan
dùchannan, ann an seirbhis a thoirt
do chrann agus do chloich.

33 Mar is beo mise, deir an Tigh-
earn Dia, gu cinnteach le làimh
chumhachdaich, agus le gairdein sinte
mach, agus le corruich air a dòrtadh
a mach, riaghlaidh mise tharaibh.

34 Agus bheir mi mach sibh as na
slòigh, agus tionailidh mi sibh as na
dùchannaibh anns am bheil sibh air
'ur sgapadh, le làimh thréin, agus le
gairdein sinte mach, agus le corruich
air a dòrtadh a mach.

35 Agus bheir mi sibh gu fàsach
nam fineachan, agus an sin tagraidh
mi ruibh aghaidh ri h-aghaidh.

36 Amhuil a thagair mi ri 'r n-
aithrichibh ann am fàsach tire na h-
Eiphit, is amhuil a thagras mi ruibh-
se, deir an Tighearn Dia.

37 Agus bheir mi oirbh imeachd
fuidh 'n t-slait, agus bheir mi sibh
fuidh cheangal a' chùmhnaint.

38 Agus glanaidh mi mach as 'ur
measg na ceannaircich, agus an dream
a ta ciontachadh ann am aghaidh:
bheir mi iad a mach as an dùthaich
anns am bheil iad air chuairt, agus
cha dthéid iad a steach do fhearann
Israeil, agus aithnichidh sibh gur mise
an Tighearn.

39 Air 'ur son-sa, O thigh Israeil,
mar so deir an Tighearn Dia, Imich-
ibh, deanaibh seirbhis, gach aon duine
d'a ìodholaibh a nis na dhéigh so, mur
éisd sibh riumsa: ach na truaillibh
m' ainm naomh-sa ni 's mò le 'r
tabhartasaibh agus le 'r n-ìodhol-
aibh.

40 Oir ann am shliabh naomh-sa,
ann an sliabh airde Israeil, deir an
Tighearn Dia, ann an sin ni uile thigh
Israeil, na bhios air thalamh uile
dhiubh, seirbhis domhsa: an sin gabh-
aidh mi riu, agus an sin iarruidh mi
'ur tabhartais, agus ceud thoraidh 'ur
n-ìobairtean, le 'r n-uile nithibh
naomha.

41 Gabhaidh mi ruibh le 'r bolt-
rach cùbhraidh an tra bheir mi mach
sibh o na fineachaibh, agus a thionail-
eas mi sibh o na dùchannaibh anns an
robh sibh air 'ur sgapadh, agus bidh
mi air mo naomhachadh annaibh ann
am fianuis nan cinneach.

42 Agus aithnichidh sibh gur mise
an Tighearn, 'nuair a bheir mi sibh
gu fearann Israeil, gus an dùthaich
mu 'n do thog mi suas mo làmh gun
dthugainn i do 'r n- aithrichibh.

43 Agus ann an sin cuimhnichidh
sibh 'ur slighe, agus 'ur n-uile dhean-
adais, anns an robh sibh air 'ur truaill-
eadh, agus bidh sibh gràineil ann 'ur
sealladh féin air son ur n-uile lochdan
a rinn sibh.

44 Agus aithnichidh sibh gur mise
an Tighearn, 'nuair a dh' oibricheas
mi leibh air son m' ainme féin, cha 'n
ann do réir 'ur droch shlighe, no do
réir 'ur deanadais aingidh, O thigh
Israeil, deir an Tighearn Dia.

45 Os barr thàinig focal an Tigh-
earna do m' ionnsuidh, ag ràdh,

46 A mhic an duine, cuir d' agh-
aidh ris an airde deas, agus leig sil-
eadh

[a] *an iarrar mise leibh?* Eabh.

eadh *do d' fhocal* ri deas, agus dean
fàisneachd an aghaidh frìdhe na mach-
rach mu dheas;
47 Agus abair ri frìdh no h-airde
deas, Eisd focal an Tighearna, mar so
deir an Tighearn Dia, Feuch, fadaidh
mise teine annad, agus loisgidh e gach
uile chrann uaine annad, agus gach
uile chrann seargta; cha mhùchar an
teine lasrach, is loisgear ann na h-uile
aghaidh, o dheas gu ruige tuath.
48 Agus chi na h-uile fheoil gur
mise an Tighearn a las e: cha bhi e
air a mhùchadh.
49 An sin thuirt mise, Ah! a Thi-
ghearna Dhia, deir iad do m' thaobh-
sa, Nach 'eil e labhairt chosamhlachda
dorcha?

CAIB. XXI.

AGUS thàinig focal an Tighearna
do m' ionnsuidh, ag ràdh,
2 A mhic an duine, cuir d' aghaidh
ri Ierusalem, agus leig sileadh *do d'
fhocal* ris na h-ionadaibh naomha, a-
gus dean fàisneachd an aghaidh fear-
ainn Israeil,
3 Agus abair ri fearann Israeil,
Mar so deir an Tighearn, Feuch, tha
mise ann ad aghaidh, agus tairngidh
mi mach mo chlaidheamh as a
thruaill, agus buinidh mi mach asad
am fìrean agus an t-aingidh.
4 A chionn gu 'n gearr mi as uait
am fìrean agus an t-aingidh, uime sin
théid mo chlaidheamh a mach as a
thruaill an aghaidh gach uile fheòla,
o dheas gu tuath:
5 A chum gu 'n aithnich gach uile
fheoil gu 'n do tharruing mise Ieho-
bhah mo chlaidheamh a mach as a
thruaill: cha phill e air ais ni 's
mò.
6 Dean acain uime sin, a mhic an
duine, a dhochainneas do leasraidh;
agus le searbhas dean osnaich fa
chomhair an sùl.
7 Agus tarlaidh, 'nuair a their iad
riut, C' ar son a ta thu 'g osnaich?
gu freagair thusa, Air son an sgeoil, a
chionn gu bheil e teachd: agus leagh-
aidh gach aon chridhe, agus bidh na
h-uile làmhan lag, agus gach aon
spiorad fann, agus na h-uile ghlùin-
ean an-fhann mar uisge: feuch tha e
teachd, agus bheirear e gu crìch, deir
an Tighearn Dia.
8 A rìs thàinig focal an Tighearna
do m' ionnsuidh, ag ràdh,
9 A mhic an duine, dean fàisn-
eachd, agus abair, Mar so deir an Ti-
ghearn, Abair, Tha claidheamh, tha
claidheamh air a gheurachadh, agus
fòs air a lìomhadh.
10 Tha e air a gheurachadh a
dheanamh àir ghoirt, tha e air a
lìomhadh a chum gu 'n dealradh e; a
chum gu 'n tilgeadh e sìos slat riogh-
ail mo mhic, gun chrann air bith a
chaomhnadh.
11 Agus thug e gu bhi air a lìomh-
adh e, chum gu 'm biodh e air a
ghlacadh: tha an claidheamh air a
gheurachadh, agus tha e air a lìomh-
adh, gu 'thoirt do làimh a' mharbh-
aiche.
12 Eigh agus nuallaich, a mhic an
duine, oir bidh e air mo shluagh-sa,
air uile mhòr-uaislibh Israeil: bidh
uamhasan, do thaobh a chlaidheimh,
air mo shluagh: buail, uime sin, air
do leis.
13 Oir tha e dearbhta; agus an t-
slat rioghail an uair nach coigil e i,
cha bhi ann ni 's mò, deir an Tighearn
Dia.
14 Dean thusa, uime sin, a mhic
an duine, fàisneachd, agus buail do
làmhan air a' chéile, agus biodh an
claidheamh an treas uair air a dhùb-
lachadh, claidheamh nan daoine
marbhta, claidheamh a' ghaisgich a
mharbhadh, a théid a steach d' an
seòmraichean uaigneach.
15 Chuir mi roinn a' chlaidheimh
an aghaidh an geataichean uile, a
chum gu meathadh an cridhe, agus
gu meudaichear am milleadh: ah!
rinneadh loinreach e, gheuraicheadh
air son an àir e.
16 Imich thusa taobh no taobh
eigin, air do làimh dheis, no air do
làimh chli, ciod air bith taobh a ta d'
aghaidh.
17 Buailidh mise fòs mo làmhan
air a' chéile, agus bheir mi air mo
chorruich gu 'n gabh i fois: mise Ie-
hobhah thubhairt *e*.

18 Thàinig

18 Thàinig focal an Tighearna do
m' ionnſuidh a rìs, ag ràdh,
19 Mar an ceudna, a mhic an
duine, ſonraich dà ſhlighe dhuit féin,
a chum gu 'n dthigeadh claidheamh
righ Bhabiloin: thig araon an dithis a
mach as an aon tìr, agus tagh thuſa
àite, tagh e aig ceann na ſlighe chum
a' bhaile.
20 Sonraich ſlighe, chum gu 'n
dthigeadh an claidheamh gu Rabat
nan Amonach, agus gu Iudah ann an
Ierуſalem, *a' chathair* dhaingeann.
21 Oir ſheas righ Bhabiloin aig
dealachadh na ſlighe, aig ceann an dà
ſhlighe, a dheanamh fioſachd: liomh[a]
e a ſhaighdean; chuir e 'chomhairle
ri dealbhan, ſheall e anns an ſgamh-
an.
22 Aig a làimh dheis bha 'n fhàiſn-
eachd air ſon Ieruſaleim, a dh' ord-
uchadh cheanna-feadhna, a dh' fhoſg-
ladh a' bheòil anns an àr, a thogail
ſuas a' ghutha le h-iolaich, a dh' ord-
uchadh reitheachan-cogaidh an agh-
aidh nan geataichean, a thilgeadh ſuas
torr, a thogail daingnich.
23 Agus bidh e dhoibhſan mar
neach ri fàiſneachd bhréige nan ſeall-
adh, dhoibhſan a thug mionnan: ach
gairmidh e gu cuimhne an aingidh-
eachd, a chum gu 'm bi iad air an
glacadh.
24 Air an aobhar ſin mar ſo deir
an Tighearn Dia, a chionn gu 'n d'
thug ſibh air 'ur n-aingidheachd a bhi
air a chuimhneachadh, le 'r n-eas-
aontas a bhi air a leigeadh ris, air chor
as gu bheil 'ur lochdan follas 'n 'ur n-
uile dheanadas: a chionn gu 'bheil
ſibh air 'ur toirt gu cuimhne glacar
an làimh ſibh.
25 Agus thuſa, a phrionnſa mhi-
dhiadhaidh, aingidh Iſraeil, aig am
bheil do là air teachd, anns am bi
crìoch air aingidheachd,
26 Mar ſo deir an Tighearn Dia,
Atharruich an coron rioghail, agus
thoir dhiot an crùn: cha 'n e an aon
ceudna *bhios ann*, ardaich an tioſal, a-
gus iſlich an t-ard.
27 Tilgidh mi e bun os cionn, bun
os cionn, bun os cionn, agus cha bhi e
ann, gus an dthig eſan aig am bheil
còir air, agus *dhaſan* bheir mi e.
28 Agus thuſa, a mhic an duine,
dean fàiſneachd, agus abair, Mar ſo
deir an Tighearn Dia do thaobh nan
Amonach, agus do thaobh am maſ-
laidh: eadhon abair thuſa, Tha an
claidheamh, tairngte: air ſon an àir
tha e liomhta; air ſon ſgrios tha e
mar dhealanaich.
29 (Am feadh a ta thu faicinn
dhuit féin dìomhanais, am feadh a ta
thu fàiſneachd dhuit féin bréige,) a
chum do thoirt air mhuinealaibh na
muinntir a leònadh, nan aingidh aig
am bheil an là air teachd, anns am bi
crìoch aig an ea-ceart.
30 An dthoir mi air pilleadh air
ais g' a thruaill? Anns an àite ſan do
chruthaicheadh thu, ann am fearann
do dhùchais, bheir miſe breith ort.
31 Agus dòirtidh mi mach ort mo
dhian chorruich, ſéididh mi ort ann
an teine m' fheirge, 's bheir mi thairis
thu do làimh dhaoine brùideil,
cleachdta ri milleadh.
32 Bidh tu mar chonnadh do 'n
teine: bidh d' fhuil ann am meadhon
an fhearainn, cha bhi thu ni 's mò
air chuimhne: oir miſe Iehobhah la-
bhair e.

CAIB. XXII.

OS barr thàinig focal an Tighearna
do m' ionnſuidh, ag ràdh,
2 A nis, a mhic an duine, an tagair
thu, an tagair thu a leth na cathrach
fhuiltich? ſeadh feuchaidh tu dhi a
h-uile ghràinealachdan.
3 An ſin abair thuſa, mar ſo deir
an Tighearn Dia, Tha a' chathair a'
dòrtadh fala na meadhon, a chum gu
'n dthigeadh a h-àm, agus a' deanamh
iodhola na h-aghaidh féin, gu i féin a
thruailleadh.
4 Tha thu air fàs ciontach ann ad
fhuil a dhòirt thu, agus thruaill thu
thu féin ann ad iodholaibh a rinn thu,
agus thug thu air do laithean teachd
dlù, agus thàinig thu chum do
bhliadhnachan; uime ſin rinn miſe
dhiot maſladh do na cinnich, agus
ball-magaidh do na h-uile dhùchaibh.
5 Iadſan

[a] *mheaſg.*

5 Iadſan a ta dlù, agus iadſan a ta
fada uait, ni iad fanoid ortſa, ta mi-
chliùtach, a ta ri mòran ſàruch-
aidh.

6 Feuch tha uachdarain Iſraeil ann-
ad, gach aon do réir a chumhachd a
dhòrtadh fala.

7 Annadſa rinn iad dimeas air ath-
air agus màthair: ann ad mheadhon
bhuin iad le h-aimneart ris a' choig-
reach: annadſa ſhàruich iad an dìll-
eachdan agus a' bhantrach.

8 Rinn thu tàir air mo nithe
naomh-ſa, agus thruaill thu mo ſhàb-
aidean.

9 Annadſa tha luchd aithris ſgeoil
a dhòrtadh fala: agus annad tha iad
ag itheadh air na ſléibhtibh: ann ad
mheadhon tha iad a' cur an gnìomh
neo-ghloine.

10 Annadſa leig iad ris lomnochd-
uich' an athar; dh' ìſlich iad annad
iſe a chuireadh a thaoibh air ſon neo-
ghloine.

11 Agus rinn aon gràinealachd le
mnaoi a choimhearſnaich, agus thruaill
aon eile gu gràineil nighean a
mhnatha, agus dh' ìſlich neach eile
annad a phiuthar, nighean 'athar.

12 Annadſa ghabh iad duais gu
fuil a dhòrtadh: ghabh thu ocar agus
riadh, agus bhuannaich thu gu ſannt-
ach o d' choimhearſnaich le h-ana-
cothrom, agus dhi-chuimhnich thu
miſe, deir an Tighearn Dia.

13 Feuch uime ſin bhuail miſe mo
làmh air do bhuannachd neo-ionraic a
rinn thu, agus air d' fhuil, a bha ann
ad mheadhon.

14 An urradh do chridhe fulang,
no 'n urradh do làmhan a bhi làidir
anns na laithibh anns am buin miſe
riut? Miſe Iehobhah labhair, agus ni
mi.

15 Agus ſgapaidh mi thu meaſg
nan cinneach, agus ſgànraidh mi thu
meaſg nan dùchannan, agus caithidh
mi do neo-ghloine aſad.

16 Agus bidh tu air do thruaill-
eadh ann an ſealladh nan cinneach, a-
gus aithnichidh tu gur miſe an Tigh-
earn.

17 Agus thàinig focal an Tigh-
earna do m' ionnſuidh, ag ràdh,

18 A mhic an duine, tha tigh Iſ-
raeil air fàs dhomhſa mar ſhal; tha
iad uile nan umha, agus nan ſtàn, a-
gus nan iarunn, agus nan luaith, ann
am meadhon na fuirneis; cha 'n 'eil
annta ach ſal airgid.

19 Air an aobhar ſin, mar ſo deir
an Tighearn Dia, A chionn gu 'n d'
fhàs ſibh uile 'nur ſal, feuch, uime ſin,
cruinnichidh miſe ſibh gu meadhon
Ieruſaleim.

20 Mar a chruinnicheas iad air-
giod, agus umha, agus iarunn, agus
luaith, agus ſtàn gu meadhon na fuir-
neis, a chum an teine a ſhéideadh air, a-
gus a leaghadh; is amhuil a chruinn-
icheas miſe ſibhſe ann am chorruich,
agus ann am fheirg, agus fàgaidh
mi ſibh an ſin, agus leaghaidh mi
ſibh.

21 Seadh cruinnichidh mi ſibh
agus ſéididh mi oirbh ann an teine
mo chorruich, agus bidh ſibh air 'ur
leaghadh na mheadhon.

22 Mar a leaghar airgiod ann am
meadhon na fùirneis, is amhluidh a
leaghar ſibhſe na mheadhon-ſin; agus
aithnichidh ſibh gu 'n do dhòirt
miſe Iehobhah mach mo chorruich
oirbh.

23 Agus thàinig focal an Tigh-
earna do m' ionnſuidh, ag ràdh,

24 A mhic an duine, abair ris *an
fhearann*, Is tuſa am fearann nach
'eil air d' uiſgeachadh, air nach do
thuit fraſachd ann an là na dian
fheirge.

25 Tha co-bhoinn fhàidhean na
mheadhon; mar leòmhann beucach,
an tòir air a' chreich, ſhluig iad an-
ama: ghlac iad an t-ionmhas agus na
nithe luachmhor: rinn iad a bhant-
raichean lìonmhor na mheadhon.

26 Bhris a ſhagairt mo reachd, a-
gus mhi-naomhaich iad mo nithe
naomha: cha do chuir iad dealuch-
adh ſam bith eadar an naomha 's am
mi-naomha, ni mò dh' fheuch iad
ciod tha neo-ghlan, agus ciod glan:
agus dh' fholuich iad an ſùilean o m'
ſhàbaidean, agus tha mi air mo mhi-
naomhachadh nam meaſg.

27 Tha uachdarain na mheadhon
mar mhadraibh-alluidh, ciocrach a
chum

chum creiche, a dhòrtadh fala, a sgrios
anama, a dh' fhaotainn buannachd
neo-ionraic [a].
28 Agus chòmhdaich 'fhàidhean
iad le *crè* gun oibreachadh, a' faicinn
dìomhanais, agus a' fàisneachd bhreug
dhoibh, ag ràdh, Mar so deir an Tighearn
Dia, 'nuair nach do labhair an
Tighearn.
29 Ghnàthaich sluagh an fhearainn
ainneart, agus chuir iad an
gnìomh reubainn, agus shàruich iad
am bochd agus am feumannach:
seadh rinn iad fòirneart air a' choigreach
gu h-eucorach.
30 Agus dh' iarr mise air son duine
nam measg a dheanadh suas a' challaid,
agus a sheasadh anns a' bhriseadh [b]
fa m' chomhair air son an
fhearainn, a chum nach sgriosainn e,
ach cha d' fhuair mi aon neach.
31 Uime sin dhòirt mi mach orra
mo dhian chorruich, chaith mi iad le
teine m' fheirge: an slighe féin dhìol
mi air an cinn, deir an Tighearn
Dia.

CAIB. XXIII.

THA'INIG focal an Tighearna do
m' ionnsuidh, a rìs, ag ràdh,
2 A mhic an duine, bha dithis
bhan ann, nigheanan na h-aona mhàthar;
3 Agus rinn iad strìopachas anns
an Eiphit, rinn iad strìopachas nan
òige; an sin bha an uchd air a bhruthadh,
agus an sin bhruthadh ciochan
am maighdeanais.
4 Agus b' iad an ainmean, Aholah
ise bu shine, 's Aholibah a piuthar:
agus bu leamsa iad, agus rug iad mic
agus nigheana: mar so an ainmean;
is i Aholah Samaria, agus is i Aholibah
Ierusalem.
5 Agus rinn Aholah strìopachas an
uair bu leams' i, agus bha i 'n cion [c]
air a leannain, air na h-Asirianaich, a
coimhearsnaich,
6 Sgeudaichte le gorm, nan cinnfheadhna,
agus nan luchd-riaghlaidh,
iad uile nan òganaich àillidh, marcshluagh,
a' marcachd air eachaibh.
7 Mar so rinn i strìopachas leo,
leis a' mheud as a bha do fhearaibh taghta
'n Asiria, agus leis na h-uile air an robh
a cion [d], le 'n iodholaibh uile shalaich
i i féin.
8 Ni mò a sguir i d' a strìopachas
leis an Eiphit: oir na h-òige luidh
iad leatha, agus bhruth iad ciochan a
maighdeanais, agus dhòirt iad oirre an
strìopachas.
9 Air an aobhar sin thug mise
thairis i do làimh a leannan, do làimh
nan Asirianach air an robh a cion.
10 Leig iad so ris a lomnochduiche,
ghabh iad a mic agus a nigheanan, agus
mharbh iad i leis a' chlaidheamh:
agus dh' fhàs i iomraiteach am measg
bhan, oir thug iad oirre breitheanas.
11 Agus an uair a chunnaic a
piuthar Aholibah so, bha i ni bu
truaillidh na gràdh neo-mheasarra na
ise; agus na strìopachas ni bu mhò na
a piuthar na strìopachas.
12 Bha a cion air na h-Asirianaich
a coimhearsnaich, cinn-fheadhna, agus
luchd-riaghlaidh, sgeudaichte gu
ro sgiamhach, marc-shluagh, a' marcachd
air eachaibh, iad uile nan òganaich
àillidh.
13 An sin chunnaic mi gu 'n robh
i air a truailleadh, gu 'm b' ionan
slighe dhoibh araon;
14 Ach gu 'n deachaidh ise ni b'
fhaide na strìopachas: oir 'nuair a
chunnaic i daoine air an dealbh air a'
bhalla, ìomhaighean nan Caldéach,
air an tarruing le corcur,
15 Criosluichte le criosaibh air an
leasraidh, sgeudaichte le ceann-éideadh
daithte air an ceannaibh, iad uile
mar chinn-fheadhna ri 'm faicinn,
cosmhuil ri macaibh Bhabiloin, a dh'
àraich tìr Chaldéa.
16 Agus co luath as a chunnaic i
iad le a sùilibh, ghabh i cion orra, agus
chuir i teachdairean d' an ionnsuidh,
gu Caldéa.
17 Agus thàinig na Babilonaich d'
a h-ionnsuidh gus an leaba-ghaoil, agus
thruaill iad i le 'n strìopachas;
ach an déigh bhi air a truailleadh leo,
bha a h-inntinn air a claonadh air
falbh uatha.
18 Mar sin leig i ris a strìopachas,
agus

[a] *mhi-dhlighich.* [b] *bheum.* [c] *an déigh.* [d] *déigh, ceist.*

agus leig i ris a lomnochduiche; an
ſin phill m' inntinn-ſa uaipe, amhuil a
phill m' inntinn o a piuthair.
19 Gidheadh mheudaich i a ſtrìop-
achais, le laithean a h-òige ghairm gu
cuimhne, anns an d' rinn i ſtrìopach-
ais, ann an tìr na h-Eiphit.
20 Oir mhiannaich i a co-chéil-
idhean, aig am bheil am feoil mar
fheoil aſal, agus an sìol mar ſhìol
each.
21 Mar ſo ghairm thu gu cuimh-
ne neo-ghloine d' òige, ann am bruth-
adh do bhrollaich leis na h-Eiphitich,
ann am bruthadh cìocha d' òige.
22 Air an aobhar ſin, O Aholibah,
mar ſo deir an Tighearn Dia, Feuch,
dùiſgidh miſe ſuas do leannain ann ad
aghaidh, o 'm bheil d' inntinn air
claonadh, agus bheir mi iad ann ad
aghaidh air gach taobh;
23 Na Babilonich, agus na Cal-
déich uile, Pecod agus Soa, agus Coa,
na h-Aſirianaich uile maille riu: iad
uile nan daoine àillidh, cinn-fheadhna,
agus luchd-riaghlaidh, tighearnan
mòra agus iomraiteach, iad uile a'
marcachd air eachaibh.
24 Agus thig iad ann ad aghaidh
le carbadaibh, le cobhanaibh[a], agus
le rothaibh, agus coimhthional ſluaigh,
a chuireas ann ad aghaidh targaid, a-
gus ſgiath, agus clogaide, air gach aon
taobh: agus cuiridh miſe breitheanas
fa 'n comhair, agus bheir iad breith
ort do réir am breitheanais.
25 Agus cuiridh miſe m' eud ad
aghaidh, agus buinidh iad gu ro-gharg
riut: bheir iad air falbh do ſhròin,
agus do chluaſan, agus tuitidh d'
fhuigheall leis a' chlaidheamh: bheir
iad leo do mhic, agus do nigheanan,
agus loiſgear na dh'fhàgar dhiot anns
an teine.
26 Bheir iad dhiot mar an ceudna
d' eudach, agus bheir iad air falbh do
ſheuda maiſeach.
27 Mar ſo bheir miſe air do neo-
ghloine ſgur annad, agus air do ſtrìop-
achas le tìr na h-Eiphit: air chor as
nach tog thu ſuas do ſhùilean riu, a-
gus nach cuimhnich thu an Eiphit ni
's mò.

28 . mar ſo deir an Tighearn
Dia, Feuch, bheir miſe thairis thu do
làimh na muinntir leis am fuathach
thu, do làimh na muinntir o 'm bheil
do chridhe air claonadh.
29 Agus buinidh iad riut gu fuath-
ach, agus bheir iad air falbh d' uile
ſhaothair, agus fàgaidh iad thu lom
agus rùiſgte, agus bidh lomnochd-
uiche do ſtrìopachais air a leigeadh
ris, araon do ghràinealachd agus do
ſtrìopachas.
30 Ni miſe na nithe ſo riut, a
chionn gu 'n deachaidh tu le ſtrìop-
achas an déigh nan cinneach, a chionn
gu bheil thu air do thruailleadh le 'n
iodholaibh.
31 Ghluais thu ann an ſlighe do
pheathar, uime ſin bheir miſe a cup-
an-ſa ann ad làimh.
32 Mar ſo deir an Tighearn Dia,
Olaidh tu do chupan do pheathar,
domhain agus farſaing; nithear gàire
fanoid riut, agus bithidh tu a' d'
bhall-magaidh; is mòr na bheil ann.
33 Lìonar thu le miſg agus le
doilghios, le cupan uamhais agus léir-
ſgrios, le cupan do pheathar Shama-
ria.
34 Ni thu fòs 'òl agus a ſhùghadh
a mach, agus briſidh tu a bhloighdean,
agus ſpìonaidh tu do chìochan féin aſ-
ad: oir miſe labhair e, deir an Tigh-
earn Dia.
35 Uime ſin mar ſo deir an Tigh-
earn Dia, Chionn gu 'n do dhi-
chuimhnich thu miſe, agus gu 'n do
thilg thu mi air do chùlaobh, air an
aobhar ſin, giùlain thuſa fòs do
ghràinealachd agus do ſtrìopachais.
36 Thuirt an Tighearn rium os
barr, A mhic an duine, an dthoir thu
breith air Aholah, agus air Aholibah?
ſeadh, foillſich dhoibh an gràineal-
achdan;
37 Gu 'n do chuir iad an gnìomh
adhaltrus, agus gu bheil fuil nan
làmhan, agus le 'n ìodholaibh gu 'n
d' rinn iad adhaltrus, agus gu 'n d'
thug iad fòs air am mic, a rug iad
dhomhſa, ſiubhal air an ſon-ſan trìd
an teine d' an loſgadh.
38 Os barr rinn iad ſo riumſa:

 thruaill

[a] *feunaibh.*

fhruaill iad m' ionad naomh air an là
sin féin, agus mhi-naomhaich iad mo
shàbaidean.

39 Oir an uair a mharbh iad an
clann d' an ìodholaibh, an sin thàinig
iad air an là sin féin do m' ionad
naomh-sa, g' a thruailleadh; agus
feuch, mar so rinn iad ann am meadh-
on mo thighe.

40 Agus a thuille air so, gu 'n do
chuir iad fios air daoine gu teachd o
chéin, gus an do chuireadh teachd-
aire, agus feuch, thàinig iad, air son
an d' rinn thu thu féin a nigheadh,
do shùilean a dhath, agus thu féin a
sgeudachadh le h-usgraichean.

41 Agus shuidh thu air leabaidh
urramaich, agus bord ullaichte f'a
comhair, air an do chuir thu mo
bholtrach-sa, agus m' oladh.

42 Agus bha guth na muinntir a
bha aig suaimhneas maille riu, agus
mòr chuideachd nam fear o Shaba,
o'n fhàsach, a chuir làmh-fhailean air
an làmhan, agus corona maiseach air
an ceannaibh.

43 An sin thuirt mise rithe-sa bha
sean ann an adhaltrus, An dean iad a
nis striopachas leatha, agus ise *leo-
san?*

44 Gidheadh chaidh iad a steach
d'a h-ionnsuidh, mar a théid iad a
steach gu striopaich: mar sin chaidh
iad a steach gu Aholah agus gu Aho-
libah, na mnathan neo-ghlan.

45 Agus bheir na daoine cothrom-
ach breith orra, do réir breith bhan-
adhaltranach, agus do réir breith
bhan a dhòirteas fuil; a chionn gur
ban-adhaltranaich iad, agus gu bheil
fuil nan làmhan.

46 Oir mar so deir an Tighearn
Dia, Bheir mise nìos cuideachd orra,
agus bheir mi iad gu bhi air an athar-
rachadh, agus air an creachadh.

47 Agus clachaidh a' chuideachd
iad le clachaibh, agus gearraidh iad
sìos iad [a] le 'n claidhmhean; marbh-
aidh iad am mic agus an nigheanan,
agus loisgidh iad an tighean le teine.

48 Mar so cuiridh mise cosgadh
air gràinealachd anns an fhearann, a
chum gu foghluim na h-uile mhnath-
an gun deanamh a réir 'ur gràineal-
achd-sa.

49 Agus dìolaidh iad ruibh 'ur
gràinealachd, agus giùlainidh sibh
lochdan 'ur n-ìodhola, agus aithnich-
idh sibh gur mise an Tighearn Dia.

CAIB. XXIV.

ARIS, anns an naothamh bliadh-
na, anns an deicheamh mìos,
air an deicheamh *là* do 'n mhìos,
thàinig focal an Tighearna do m'
ionnsuidh, ag ràdh,

2 A mhic an duine, sgrìobh dhuit
ainm an là, a' cheart là so: chuir righ
Bhabiloin e féin an aghaidh Ierusaleim
air a' cheart là so.

3 Agus labhair cosamhlachd ris an
tigh cheannairceach, agus abair ris,
Mar so deir an Tighearn Dia, Cuir
air coire; cuir air *e*, agus fòs dòirt
ann uisge.

4 Cruinnich a mhìrean ann, gach
aon mhìr maith, an t-sliasaid agus
an slinnean; lìon *e* le taghadh nan
cnàmh.

5 Gabh roghadh an treud, agus
loisg fòs na cnàmhan fuidhe, thoir goil
bhras air, agus biodh a chnàmhan air
am bruich ann.

6 Uime sin, mar so deir an Tigh-
earn Dia, Is anaoibhinn do 'n chath-
air fhuiltich, do 'n choire aig am bheil
a shal ann, agus o nach deachaidh a
shal a mach uaithe; thoir a mach e,
mìr air mhìr, na tuiteadh crannchur
air bith air.

7 Oir tha a fuil na meadhon, chuir
i air mullach creige i, cha do dhòirt i
air an talamh i, chum a folach le dus-
lach:

8 A chum gu 'n dthugadh i air feirg
teachd a nìos a dheanamh dìoghaltais:
chuir mise a fuil air mullach creige,
chum nach biodh i air a folach.

9 Air an aobhar sin, Mar so deir
an Tighearn Dia, Is anaoibhinn do
'n chathair fhuiltich; ni mise fòs a'
chruach-theine mòr.

10 Carnaibh connadh, fadaibh an
teine, caithibh an fheoil, cuiribh oirre
spìosraidh gu leòr, agus loisgear na
cnàmhan.

11 An

[a] *foghnaidh iad dhoibh.*

11 An sin cuir falamh e air 'éibhlibh, a chum gu 'n teasaich a' phrais, agus gu 'n loisg i, agus gu 'm bi a salchar air a leaghadh innte, air chor as gu 'm bi a sal air a chaitheamh.

12 Lean a sal rithe gu teann, agus cha do dhealuich e rithe; tha a salchar mòr, tha a salchar breun.

13 Ann ad shalchar tha neo-ghloine, do bhrìgh gu 'n do ghlan mi thu, agus nach robh thu glan; cha bhi thu air do ghlanadh o d' thruaillidheachd ni 's mò, gus an dthoir mise air mo chorruich gu 'n gabh i tàmh ort.

14 Mise Iehobhah labhair, thig e gu crich, agus coimhlionaidh mis' e, cha dthéid mi air m' ais, ni mò choigleas mi, no ghabhas mi aithreachas; a réir do shlighe, agus a réir do dheanadais bheir iad breith ort, deir an Tighearn Dia.

15 Mar an ceudna thàinig focal an Tighearna do m' ionnsuidh, ag ràdh,

16 A mhic an duine, feuch, bheir-eams' air falbh uait miann do shùl le buille: gidheadh cha dean thu bròn no gul, ni mò shileas do dheoir.

17 Leig dhiot glaodhaich, na dean caoidh air son nam marbh, ceangail culaidh do chinn ort, agus cuir do bhrògan air do chasaibh, agus na foluich do ghnùis, agus na h-ith aran luchd-bròin.

18 Mar sin labhair mi ris na daoinibh anns a' mhaduinn, agus dh' eug mo bhean mo anmoch; agus rinn mi sa' mhaduinn mar dh' àithneadh dhomh.

19 Agus thubhairt an sluagh rium, Nach innis thu dhuinn ciod ar gnothach ne ris na nithe so a ta thu deanamh?

20 An sin fhreagair mi iad, Thàinig focal an Tighearna do m' ionnsuidh, ag ràdh,

21 Labhair ri tigh Israeil, Mar so deir an Tighearn Dia, Feuch, truaillidh mise m' ionad naomh, òirdheirceas 'ur treise, miann 'ur sùl, agus an ni a 's caomh le 'r n-anam: agus 'ur mic agus 'ur nigheanan a dh' fhàgadh, tuitidh leis a' chlaidheamh.

22 Agus ni sibh mar a rinn mise: cha 'n fholuich sibh 'ur n-aghaidh, agus cha 'n ith sibh aran luchd-bròin.

23 Agus bidh 'ur n-éideadh air 'ur ceannaibh, agus 'ur brògan air 'ur casaibh: cha dean sibh bròn no gul, ach seargaidh sibh as air son 'ur n-eaceartan, agus ni sibh bròn, gach aon r'a chéile.

24 Mar so tha Esceiel dhuibh na chomhara: do réir gach ni a rinn esan, ni sibhse: agus an uair a thig so, aithnichidh sibh gur mise an Tighearn Dia.

25 Mar an ceudna, a mhic an duine, nach *tachair e* anns an là sambuin mise uatha an neart, aoibhneas an glòire, miann an sùl, agus an ni sin air an suidhich iad an inntinn, am mic, agus an nigheana;

26 Gu 'n dthig esan a théid as air an là sin do d' ionnsuidh, a thoirt ort a chluinntinn le d' chluasaibh?

27 Anns an là sin fosglar do bheul do 'n ti théid as, agus labhraidh tu, agus cha bhi thu ni 's mò balbh, agus bidh tu dhoibh mar chomhara, agus aithnichidh iad gur mise an Tighearn.

C A I B. XXV.

THA'INIG focal an Tighearna a rìs do m' ionnsuidh, ag ràdh,

2 A mhic an duine, cuir do ghnùis an aghaidh nan Amonach, agus dean fàisneachd nan aghaidh;

3 Agus abair ris na h-Amonaich, Cluinnibh focal an Tighearna Dia, Mar so deir an Tighearn, a chionn gu 'n d' thubhairt thu, Aha, an aghaidh m' ionaid naomha, 'nuair a thruailleadh e, agus an aghaidh fearainn Israeil, an uair a bha e fàs, agus an aghaidh tighe Iudah, an uair a dh' fhalbh iad ann am braighdeanas;

4 Feuch, uime sin, bheir mise thairis thu do mhuinntir na h-airde 'n ear mar sheilbh, agus suidhichidh iad annad an àrois, agus ni iad an àitecòmhnuidh annad: ithidh iad do mheas, agus òlaidh iad do bhainne.

5 Agus ni mi Rabah na crò air son chàmhal, agus clann Amoin na àiteluidhe do threudaibh: agus aithnichidh sibh gur mise an Tighearn.

6 Oir mar so deir an Tighearn Dia A chionn gu 'n do bhuail thu do làmhan, agus gu 'n do bhreab thu le d' chasan, agus gu 'n d' rinn thu

gàirdeachas ann ad chridhe, le d' uile
tharcuis an aghaidh fearainn Israeil;
7 Feuch, uime sin, sìnidh mise mach
mo làmh ort, agus bheir mi seachad
thu mar chreich do na cinnich, agus
gearraidh mi as thu o na slòigh, agus
caithidh mi thu a mach as na dùch-
annaibh: sgriosaidh mi thu, agus
aithnichidh tu gur mi an Tighearn.
8 Mar so deir an Tighearn Dia, A
chionn gu bheil Moab agus Seir ag
ràdh, Feuch, tha tigh Iudah cosmhuil
ris na h-uile chinnich;
9 Air an aobhar sin, feuch, fosglaidh
mise taobh. Mhoaib, a leigeadh ris
nam bailtean a ta air 'iomall, maise na
dùcha, Betiesimot, Baal-meon, agus
Ciriataim,
10 Do fhearaibh na h-airde 'n ear,
maille ri cloinn Amoin, agus bheir mi
iad mar sheilbh, a chum nach bi
cuimhne air cloinn Amoin am measg
nan cinneach.
11 Agus bheir mi breitheanas air
Moab, agus aithnichidh iad gur mi
an Tighearn.
12 Mar so deir an Tighearn Dia,
A chionn gu 'n do ghnàthaich Edom
dioghaltas trom an aghaidh Iudah,
agus gu 'n d' thug e oilbheum mòr
anns an dioghaltas a rinn e orra:
13 Uime sin, mar so deir an Tigh-
earn Dia, Sìnidh mise fòs a mach mo
làmh air Edom, agus gearraidh mi as
duine agus ainmhidh uaithe, agus ni
mi fàs e o Theman, agus tuitidh
muinntir Dhedain leis a' chlaidheamh.
14 Agus leagaidh mi mo dhiogh-
altas air Edom le làimh mo shluaigh
Israeil, agus ni iad ann an Edom do
réir mo chorruich, agus do réir mo
dhian fheirge, agus bidh fios mo
dhioghaltais aca, deir an Tighearn
Dia.
15 Mar so deir an Tighearn Dia,
A chionn gu 'n do bhuin na Philistich
gu dioghaltach, agus gu 'n d' rinn iad
dioghaltas le cridhe aingidh gu mill-
eadh, air son an t-sean nàimhdeis [a];
16 Uime sin, mar so deir an Tigh-
earn Dia, Feuch, sìnidh mise mach mo
làmh air na Philistich, agus gearraidh
mi as na Ceretich, agus millidh mi
fuigheall slios na fairge.
17 Agus ni mi dioghaltas mòr orra
le achasain gharga, agus aithnichidh
iad gur mise an Tighearn, 'nuair a
leagas mi orra mo dhioghaltas.

CAIB. XXVI.

AGUS tharladh anns an aon
bhliadhna deug, air a' cheud *là*
do 'n mhìos, gu 'n d' thàinig focal an
Tighearna do m' ionnsuidh, ag ràdh,
2 A mhic an duine, a chionn gu 'n
d' thubhairt Tirus an aghaidh Ieru-
saleim, Aha, tha ise bha na dorsaibh
do 'n t-sluagh briste: phill i chugam-
sa, leasaichear mise nis, o chuireadh
ise fàs;
3 Air an aobhar sin, mar so deir an
Tighearn Dia, Feuch, tha mis' a' d'
aghaidh, O Thiruis, agus bheir mi air
mòran chinneach teachd a nìos a' d'
aghaidh, mar a bheir an fhairge air a
tonnaibh teachd a nìos.
4 Agus sgriosaidh iad ballachan
Thiruis, agus brisidh iad sìos a bà-
bhuinn: tairngidh mise fòs a duslach
uaipe, agus ni mi i mar mhullach
creige.
5 Bidh i na h-ionad sgaoilidh lìon
ann am meadhon na fairge: oir labh-
air mise, deir an Tighearn Dia, agus
bidh i na creich do na cinnich.
6 Agus marbhar a nigheanan a ta
sa' mhachair leis a' chlaidheamh, agus
aithnichidh iad gur mise an Tighearn.
7 Oir mar so deir an Tighearn Dia,
Feuch, bheir mise air Tirus Nebu-
chadnesar righ Bhabiloin, righ righ-
rean, o 'n airde tuath, le eachaibh, a-
gus le carbadaibh, agus le marcaich,
agus le cuideachdaibh, agus le mòran
sluaigh.
8 Marbhaidh e leis a' chlaidheamh
do nigheanan anns a' mhachair, agus
ni e daingneach ann ad aghaidh, agus
togaidh e suas ad aghaidh an sgiath.
9 Agus cuiridh e innealа-cogaidh
an aghaidh do bhallachan, agus le
'thuaghaibh brisidh e sìos do bhà-
bhuinn.
10 Le lìonmhoireachd a chuid each,
folaichidh an duslach thu, criothn-
aichidh do bhalla le toirm a' mharc-
shluaigh, agus nan rothan, agus nan
carbadan, an tra théid e steach air do
gheatacha,

[a] *fhalachd.*

ghéatacha, mar a théid daoine steach
air baile san d' rinneadh briseadh.
11 Le iongannaibh a chuid each
saltraidh e sìos do shràidean uile:
marbhaidh e do shluagh leis a' chlaidheamh, agus théid do dhaingnichean
làidir sìos gu làr.
12 Agus ni iad creach do d' shaibhreas, agus ni iad cobhartach do d'
cheannachd; agus brisidh iad sìos do
bhallachan, agus millidh iad do thighean taitneach, agus leagaidh iad do
chlachan, agus d' fhiodh, agus do
dhuslach ann am meadhon an uisge.
13 Agus bheir mise air fuaim d'
òran sgur, agus cha chluinnear fonn
do chlàrsach ni 's mò.
14 Agus ni mi thu mar mhullach
creige: bidh tu *ann ad ionad* gu sgaoileadh lion air: cha bhi thu air do thogail ni 's mò: oir mise Iehobhah labhair, deir an Tighearn Dia.
15 Mar so deir an Tighearn Dia
ri Tirus, Nach criothnaich na h-eileanan ri fuaim do leagaidh, tra dh'
éigheas a' mhuinntir leònta, tra nithear an t-àr ann ad mheadhon?
16 An sin thig uile phrionnsacha na
fairge nuas o 'n righ-chaithrichibh,
agus cuiridh iad am falluingean a
thaoibh, agus cuiridh iad dhiubh an
culaidhean gréise: éididh iad iad féin
le ball-chrith, suidhidh iad air an làr,
agus criothnaichidh iad gach tiota, agus bidh uamhas orra do d' thaobh-sa.
17 Agus togaidh iad tuireadh air
do shon, agus their iad riut, Cionnus
a sgriosadh thusa bha air d' àiteachadh
le luchd-fairge, a' chathair iomraiteach
a bha làidir anns an fhairge, i féin agus a luchd-àiteachaidh, a ta cur an
eagail air na h-uile ta ga tàthaich?
18 A nis criothnaichidh na h-eileanan ann an là do leagaidh; feadh
bidh na h-eileanan a ta san fhairge fo
bhuaireadh air son do shiubhail.
19 Oir mar so deir an Tighearn
Dia, An tra ni mise dhiot cathair fhàs,
mar na cathraichean nach 'eil air an
àiteachadh, an tra bheir mi nìos ort
an doimhne, agus a thig na tuiltean
mòra tharad;
20 An tra bheir mi ort dol sìos
leo-san a théid sìos do 'n t-slochd, le
muinntir na h-aimsir o shean, agus a
chuireas mi thu 'n ionadaibh ìochdrach
na talmhainn, ann an ionadaibh fàs o
shean, leo-san a théid sìos do 'n t-slochd, air chor as nach bi thu air
d' àiteachadh, agus nach seas thu ni 's
mò ann an tìr nam beo:
21 Ni mi uamhas dhiot, agus cha
bhi thu ann: ged iarrar thu, gidheadh
cha 'n fhaighear thu ni 's mò gu bràth,
deir an Tighearn Dia.

CAIB. XXVII.

THA'INIG focal an Tighearna do
m'ionnsuidh a rìs, ag ràdh,
2 A nis, a mhic an duine, tog suas
tuireadh air son Thiruis;
3 Agus abair ri Tirus, O thusa ta
air do shuidheachadh aig dol a steach
na fairge, *a ta d'* cheannuiche do 'n
t-sluagh air son mhòrain eileanan, Mar
so deir an Tighearn Dia, O Thiruis,
thubhairt thu, Tha mi ro-sgiamhach.
4 Tha d' iomall ann am meadhon
na fairge, rinn do luchd-togail do
mhaise foirfe.
5 Rinn iad d' uile chlàra do chrannaibh giubhais Shenir: thug iad seudair o Lebanon a dheanamh chrannasuil duit.
6 Do dharagaibh Bhasain rinn iad
do ràmhan: rinn cuideachd nan
Asurach do thotachan do chnàmhadeuda o eileanaibh Chitim.
7 B'e anart grinn, le obair ghréise
o 'n Eiphit a sgaoil thu mach gu bhi
na sheòl duit; b' e gorm agus purpur
o eileanaibh Elisah an ni sin a sgeudaich thu.
8 B' iad luchd-àiteachaidh Shidoin
agus Arbhaid do mharaichean: b' iad
do dhaoine glice bha annad, O Thiruis,
luchd-stiuiridh do loingeis.
9 B' iad seanairean Ghebail, agus a
dhaoine glice, bha agad nan luchdcalcaidh: bha loingeis na fairge gu
léir, le 'm maraichibh annad, a chum
do mhalairt a mheudachadh.
10 B' iad muinntir Phersia, agus
Luid, agus Phuit, d' fhir-chogaidh ann
ad fheachd: chroch iad suas an sgiath
agus a' cheann-bheart annad, chuir iad
an céill do mhaise.
11 Bha fir Arbhaid le d' fheachd
air do bhallachaibh mu 'n cuairt, agus
bha na Gamadaich ann ad thùraibh:
chroch

chroch iad an sgiathan air do bhall-
achaibh mu 'n cuairt: rinn iad do
mhaise foirfe.
12 B' i Tarsis do cheannuiche, do
bhrìgh pailteis an uile stòrais; le air-
giod, iarunn, stàn, agus luaidh, rinn
iad malairt ann ad mhargaidhean.
13 Iabhad, Tubal, agus Mesech,
b' iadsan do cheannuichean: reic iad
pearsanna dhaoine, agus soithichean
umha ann ad mhargadh.
14 Rinn muinntir Thogarmah ma-
lairt ann ad mhargaidhean, le each-
aibh, agus le marc-shluagh, agus le
muileidibh.
15 B' iad fir Dhedain do cheann-
uichean, mòran eileanan malairt do
làimhe: thug iad chugad mar thiolac,
adharca deud-chnàmh, agus ebony.
16 B' i Siria do cheannuiche air son
lìonmhoireachd nan oibre a rinn thu:
rinn iad malairt ann ad mhargaidhean
le emeraild, purpur, agus obair ghréise,
agus anart grinn, agus coireal, agus
agat.
17 B' iad Iudah agus tìr Israeil do
cheannuichean: reic iad ann ad mhar-
gadh cruineachd Mhinnit, agus Pann-
ag, agus mil, agus oladh, agus ìce.
18 B' e Damascus do cheannuiche
ann an lìonmhoireachd nan oibre a
rinn thu, air son pailteis an uile shaibh-
reis: ann am fion Helboin, agus ann
an oluinn ghil.
19 Rinn Dan fòs, agus Iabhan, a'
dol air an ais agus air an aghaidh, ma-
lairt ann ad mhargaidhean; bha iarunn
oibrichte, casia agus calamus ann ad
mhargadh.
20 B' e Dedan do cheannuiche ann
an eudaichibh luachmhor air son char-
bal.
21 Rinn Arabia, agus uile phrionn-
sachan Chedair malairt riut ann an
uanaibh, agus ann an reitheachaibh,
agus ann an gabhraibh: anns na nith-
ibh so b' iad do luchd-malairt.
22 Ceannuichean Sheba agus Raam-
ah, b' iadsan do cheannuichean: rinn
iad malairt ann ad mhargadh le tagh-
adh nan uile spìosradh, agus leis na
h-uile chlachaibh luachmhor, agus le
h òr.
23 B' iad Haran agus Canneh, a-
gus Eden, ceannuichean Sheba, Asuir,
Cailmaid, do cheannuichean-sa.
24 B' iad so do luchd-malairt anns
na h-uile nithibh, ann an eudaichibh
gorma, agus ann an obair ghréise, a-
gus ann an cisteachan do chulaidhean
rìomhach, air an ceangal le cordaibh,
agus deanta do sheudar, am measg do
mhalairt.
25 Sheinn longa Tharsis mu d'
thimchioll ann ad mhargadh, agus
bha thu air do lìonadh, agus air do
dheanamh ro ghlòrmhor ann am
meadhon nan cuanta.
26 Thug do ràmhaichean thu gu
uisgeacha mòra: bhris a' ghaoth an
ear thu ann am meadhon na fairge.
27 Do shaibhreas, agus do mhar-
gadh, do mhalairt, do mharaichean,
agus d' fhir-stiuiridh, do luchd-calcaidh,
agus do luchd-malairt, agus d' uile
luchd-cogaidh a ta annad, agus ann
ad uile chuideachd a ta ann ad
mheadhon, tuitidh ann am builsgean
na fairge, ann an là do sgrios.
28 Ri fuaim gaoire luchd-stiuiridh
do loingeis, criothnaichidh na bailtean
mu 'n cuairt duit.
29 Agus thig na h-uile a ghlacas an
ràmh, na maraichean, uile stiuiread-
airean na fairge, nuas o 'n longaibh,
seasaidh iad air an tìr;
30 Agus bheir iad air an guth gu 'n
cluinnear e os do chionn, agus glaodh-
aidh iad gu goirt, agus tilgidh iad suas
duslach air an cinn, aornaganaidh iad
iad féin anns an luaithre.
31 Agus ni iad iad féin uile maol
air do shon, agus criosluichidh iad iad
féin ann an eudach saic, agus guilidh
iad air do shon le goirteas cridhe, le
tuireadh geur.
32 Agus nan caoidh togaidh iad
cumha air do shon, agus ni iad bròn
os do chionn; Cò bu chosmhuil ri
Tirus, bu chosmhuil rithe-sa ta millte
ann am meadhon na fairge!
33 Tra chaidh d' oibre a mach anns
na fairgibh, shàsuich thu iomadh
sluagh, rinn thu beartach rìghrean na
talmhainn le mòr-phailteas do shaibh-
reis agus do mhalairt.
34 San àm anns am brisear thu leis
an fhairge ann an doimhneachd nan
uisgeachan, tuitidh do cheannachd a-
gus do chuideachd gu h-iomlan ann
ad mheadhon.
35 Bidh uamhas, do d' thaobh air

uile luchd-àiteachaidh nan eileanan,
bidh eagal anmhor air an righrean,
bidh an gnùis fo ghruaimean.

36 Ni na ceannuichean am measg
nan cinneach fgeige ort; bidh tu ann
ad uamhas, agus cha bhi thu ann ni 's
mò gu bràth.

CAIB. XXVIII.

THA'INIG focal an Tighearna do
m' ionnfuidh a rìs, ag ràdh,

2 A mhic an duine, abair ri
prionnfa Thiruis, Mar fo deir an Tigh-
earn Dia, a chionn gu bheil do chridhe
air a thogail fuas, agus gu'n d'thubh-
airt thu, Is dia mi, tha mi 'm fhuidhe
ann an caithir Dhé, ann am meadhon
nan cuanta; gidheadh is duine thu,
agus cha Dia, ge do chuir thu do
chridhe mar chridhe Dhé.

3 Feuch, is glice thu na Daniel;
cha 'n 'eil dìomhaireachd fam bith
foluichte uait:

4 Le d' ghliocas, agus le d' thuigfe,
fhuair thu dhuit féin maoin, agus
fhuair thu òr agus airgiod ann ad
thaifgeachaibh.

5 Le d' ghliocas mòr, agus le d' mha-
lairt, mheudaich thu do fhaibhreas, agus
tha do chridhe air a thogail fuas le d'
bheartas.

6 Air an aobhar fin, mar fo deir
an Tighearn Dia, A chionn gu 'n do
chuir thu do chridhe mar chridhe
Dhé;

7 Feuch, uime fin, bheir mife
coimhich ort, fir uamhafach nan cinn-
each; agus tairngidh iad an claidh-
ean an aghaidh maife do ghliocais, a-
gus truaillidh iad do dhealradh.

8 Cuiridh iad sìos do 'n t-flochd
thu, agus bàfaichidh tu le bàs na
muinntir a mharbhar ann am meadhon
na fairge.

9 An abair thu fathafd an làthair
an ti mharbhas thu, Is dia mi? ach
bidh tu a' d' dhuine, agus ni h-ann
a' d' dhia ann an làimh an ti mharbhas
thu.

10 Bàfaichidh tu le bàs nan neo-
thimchioll-ghearrta, le làimh nan coi-
mheach: oir mife labhair *e*, deir an
Tighearn Dia.

11 Os barr thàinig focal an Tigh-
earna do m' ionnfuidh, ag ràdh,

12 A mhic an duine, tog fuas caoidh
os cionn righ Thiruis, agus abair ris,
Mar fo deir an Tighearn Dia, Tha
thu cur feuladh air do chuid ftòrais,
làn do ghliocas, agus foirfe ann am
maife.

13 Bha thu ann an Eden, gàradh
Dhé; b'e do chòmhdachadh na h-uile
clach luachmhor, an fardius, an topas,
agus an daimon, am beril, an t-onics,
agus an iafper, an faphir, an t-emerald,
agus an carbuncal, agus an t-òr: ghleuf-
adh obair do thiompan, agus do phìob-
an annad anns an là fan do chruth-
aicheadh thu.

14 Is tu an cherub ungta a chòmhd-
aicheas: agus fhuidhich mife thu; bha
thu air fliabh naomh Dhé, fhiubhail
thu ann am meadhon nan clacha
dealrach.

15 Bha thu foirfe ann ad fhligh-
ibh, o 'n là fan do chruthaicheadh thu,
gus an d' fhuaradh annad aingidh-
eachd.

16 Le lìonmhoireachd do mhalairt
lìon iad do mheadhon le h-ainneart,
agus pheacaich thu: uime fin, tilgidh
mife thu, mar ni mi-naomh, a mach o
fhliabh Dhé: agus fgriofaidh mi thu,
O a cheruib a chòmhdaicheas! a mea-
dhon nan clacha dealrach.

17 Bha do chridhe air a thogail
fuas le d' mhaife, thruaill thu do
ghliocas le d' dhealradh: tilgidh mife
gu làr thu, cuiridh mi thu an làthair
righrean, gu bhi a' d' bhall-amhairc
dhoibh.

18 Le lìonmhoireachd d' eaceartan
thruaill thu d' ionadan naomh, le ea-
ceart do mhalairt; uime fin bheir mife
mach teine as do mheadhon, caithidh
e thu, agus ni mife luath dhiot air an
talamh, ann an fealadh nan uile a chi
thu.

19 Iadfan uile d' an aithne thu
measg an t-fluaigh, bidh uamhas orra
do d' thaobh: bidh tu ann ad ua-
mhann, agus cha bhi thu ann ni 's mò
gu bràth.

20 A rìs thàinig focal an Tigh-
earna do m'ionnfuidh, ag ràdh,

21 A mhic an duine, cuir do ghnùis
an aghaidh Shidoin, agus dean fàifn-
eachd na h-aghaidh.

22 Agus abair, Mar fo deir an
Tighearn

Tighearn Dia, Feuch, tha mise ann ad
aghaidh, O Shidoin, agus bidh mi air
mo ghlòrachadh ann ad mheadhon:
agus aithnichidh iad gur mi an Tigh-
earn tra ni mi innte breitheanais, agus
a bhios mi air mo naomhachadh innte.
23 Oir cuiridh mi innte plàigh, a-
gus fuil na sràidibh, agus bheirear
breitheanas air an leònta na meadhon,
leis a' chlaidheamh a bhios oirre air-
gach taobh; agus aithnichidh iad gur
mi an Tighearn.
24 Agus cha bhi dreas dhealgach [a]
ann ni 's mò do thigh Israeil, no dreas
a bheir doilghios, dhiubhsan uile mu 'n
cuairt a ta ri tàir orra; agus aithnich-
idh iad gur mise an Tighearn Dia.
25 Mar so deir an Tighearn Dia,
an tra thionaileas mise tigh Israeil o
na cinnich am measg am bheil iad air
an sgapadh, agus a bhios mi air mo
naomhachadh annta, ann an sealladh
nan cinneach, an sin gabhaidh iad
còmhnuidh nam fearann a thug mise
do m' òglach Iacob.
26 Agus gabhaidh iad còmhnuidh
ann gu tèaruinte, agus togaidh iad
tighean, agus suidhichidh iad fìon-
liosan: seadh gabhaidh iad còmhnuidh
le dànachd, an uair a ni mise breith-
eanas orra-san uile ta deanamh tàir
orra gach taobh mu 'n cuairt doibh,
agus aithnichidh iad gur mise Ie-
hobhah an Dia.

CAIB. XXIX.

ANNS an deicheamh bliadhna,
anns an deicheamh *mìos*, air an
dara *là* deug do 'n mhìos, thàinig fo-
cal an Tighearna do m' ionnsuidh, ag
ràdh,
2 A mhic an duine, cuir do ghnùis
an aghaidh Pharaoih righ na h-Eiphit,
agus dean fàisneachd na aghaidh-san,
agus an aghaidh na h-Eiphit uile.
3 Labhair agus abair, Mar so deir
an Tighearn Dia, Feuch, tha mise a'
d' aghaidh, O Pharaoih, a righ na
h-Eiphit, an uabheist mhòr a ta na
luidhe ann am meadhon 'aibhnichean
féin, a thubhairt, Is leam féin m'
abhainn, rinn mi air mo shon féin i.
4 Ach cuiridh mise dubhain ann
ad ghialaibh, agus bheir mi air iasg
d' aibhnichean leantuinn ri d' lannaibh,
agus bheir mi nìos thu a meadhon d'
aibhnichean, agus leanaidh uile iasg d'
aibhnichean ri d' lannaibh.
5 Agus tréigidh mise thu san
fhàsach, thu féin agus uile iasg d'
aibhnichean: tuitidh tu air na mach-
raichibh sgaoilte; cha bhi thu air do
thional, no air do chruinneachadh le
chéile: thug mise thu mar bhiadh do
bheathaichibh na machrach, agus do
eunlàith an athair.
6 Agus aithnichidh uile luchd-àit-
eachaidh na h-Eiphit gur mise an
Tighearn, a chionn gu 'n robh iad
nan luirg chuilce do thigh Israeil.
7 'Nuair a ghlac iad thu, bhris thu
nan làimh, agus reub thu an gualainn
uile: agus 'nuair a leig iad an taice
riut, bhris thu, agus dh' fhàg thu an
leasraidh uile gun taice.
8 Air an aobhar sin, mar so deir an
Tighearn Dia; Feuch, bheir mise
claidheamh ort, agus gearraidh mi
mach asad duine agus ainmhidh.
9 Agus bidh tìr na h-Eiphit falamh
agus fàs, agus aithnichidh iad gur mise
an Tighearn; a chionn gu 'n d' thubh-
airt e, Is leamsa an abhainn, agus is mi
a rinn i.
10 Feuch, uime sin, tha mise ann ad
aghaidh, agus an aghaidh d' aibh-
nichean, agus ni mi tìr na h-Eiphit
gu tur-fàs agus falamh, o thùr Shiene,
eadhon gu iomall Etiopia.
11 Cha 'n imich cas duine sam bith
roimpe,[b] agus cha 'n imich cas ain-
mhidh roimpe, ni mò bhios i air a h-
àiteachadh rè dà fhichead bliadhna.
12 Agus ni mi tìr na h-Eiphit fàs
ann am meadhon nan dùchanna ta fàs,
agus bidh a cathraichean, ann am
meadhon nan cathraichean a ta falamh,
air an deanamh nam fàsach rè dà
fhichead bliadhna: agus sgapaidh
mi na h-Eiphitich am measg nan
cinneach, agus sgaoilidh mi iad feadh
nan dùchannan.
13 Gidheadh mar so deir an Tigh-
earn Dia, An ceann dà fhichead
bliadhna cruinnichidh mise na h-Eiph-
itich o na cinnich anns an robh iad air
an sgaoileadh.

14 Agus

[a] bhioragach. [b] troimpe.

14 Agus bheir mi air a h-ais bruid
nan Eiphiteach, agus bheir mi orra
pilleadh gu fearann Phatrois, gu dùth-
aich an còmhnuidh, agus bidh iad an
ſin nan rioghachd ſhuarraich.
15 Bidh i ſuarrach ſeach gach
rioghachd, agus cha 'n ardaich ſi i
féin ni 's mò am meaſg nan cinneach:
oir lughdaichidh miſe iad, air chor as
nach riaghlaich iad ni 's mò os cionn
nan cinneach.
16 Agus cha bhi i ni 's faide na
dòchas aig tigh Iſraeil, a bheir an
eaſaontas gu cuimhne, tra ſheallas iad
nan déigh: ach aithnichidh iad gur
miſe an Tighearn Dia.
17 Agus tharladh anns an t-ſeachd-
amh bliadhna fichead, anns a' cheud
mhìos, air a' cheud *là* do 'n mhìos, gu
'n d' thàinig focal an Tighearna do
m' ionnſuidh, ag ràdh,
18 A mhic an duine, thug Nebu-
chadneſar righ Bhabiloin air a ſhluagh
ſeirbhis mhòr a dheanamh an aghaidh
Thiruis: rinneadh gach ceann maol,
agus gach guala lom; gidheadh cha
robh tuaraſdal air bith aige féin, no
aig a ſhluagh, air ſon Thiruis, air ſon
na ſeirbhis a rinn e na h-aghaidh.
19 Air an aobhar ſin, mar ſo deir
an Tighearn Dia, Feuch, bheir miſe
tìr na h-Eiphit do Nebuchadneſar righ
Bhabiloin, agus glacaidh e a ſluagh,
agus glacaidh e a creach, agus glacaidh
e a cobhartach, agus bidh ſin na thua-
raſdal aig a ſhluagh.
20 Thug miſe dha tìr na h-Eiphit
air ſon a ſhaoithreach leis an do
ſhaoithrich e na h-aghaidh; a chionn
gu 'n d' oibrich iad air mo ſhon-ſa,
deir an Tighearn Dia.
21 Anns an là ſin bheir mi air
adharc tighe Iſraeil briſeadh a mach,
agus bheir mi dhuit-ſa foſgladh a'
bheoil nam meadhon, agus aithnichidh
iad gur miſe an Tighearn.

CAIB. XXX.

THAINIG focal an Tighearna do
m' ionnſuidh a rìs, ag ràdh,
2 A mhic an duine, dean fàiſneachd
agus abair, Mar ſo deir an Tighearn
Dia, Deanaibh ulartaich; Och, an là!
3 Oir tha an là dlù, eadhon là an
Tighearna dlù, là neulach, àm nan
cinneach a bhios ann.
4 Agus thig an claidheamh air an
Eiphit, agus bidh cràdh mòr ann an
Etiopia, 'nuair a thuiteas iadſan, a
mharbhar anns an Eiphit, agus bheir
iad a ſluagh air falbh, agus briſear
sios a bunaitean.
5 Etiopia, agus Libia, agus Lidia,
agus an ſluagh coimeaſgta gu léir, a-
gus Chub, agus muinntir na tìre ta 'n
co-bhoinn, tuitidh leoſan leis a' chlaidh-
eamh.
6 Mar ſo deir an Tighearn, Tuitidh
iadſan fòs a ta cumail ſuas na h-Eiphit,
agus thig uabhar a cumhachd a nuas:
o thùr Shiene tuitidh iad innte leis a'
chlaidheamh, deir an Tighearn Dia.
7 Agus bidh iad fàs ann am
meadhon nan dùchanna fàſail, agus
bidh a cathraichean ann am meadhon
nan cathraichean a ta air am fàſach-
adh.
8 Agus aithnichidh iad gur miſe an
Tighearn, 'nuair a chuireas mi teine
ſan Eiphit, agus a ſgrioſar a h-uile
luchd-cuideachaidh.
9 Anns an là ſin théid teachdairean
a mach uamſa ann an longaibh, a chur
eagail air na h-Etiopaich air nach 'eil
cùram, agus thig cràdh mòr orra,
mar ann an là na h-Eiphit: oir feuch,
tha e teachd.
10 Mar ſo deir an Tighearn Dia,
Cuiridh miſe fòs coſgadh air mòr-
ſhluagh na h-Eiphit, le làimh Nebu-
chadneſair righ Bhabiloin.
11 Bheirear e féin agus a ſhluagh
maille ris, a' chuid a 's uamhaſaiche
do na cinnich, a ſgrios na tìre: agus
tairngidh iad an claidheamh an agh-
aidh na h-Eiphit, agus lionaidh iad an
talamh le mairbh.
12 Agus ni miſe na h-aibhnichean
tioram, agus reicidh mi am fearann ri
làimh nan aingidh, agus ni mi an tìr
fàs, agus na h-uile ta innte, le làimh
nan coimheach: miſe Iehobhah labh-
air.
13 Mar ſo deir an Tighearn Dia,
Sgrioſaidh mi fòs na h-iodholan, agus
dìthichidh mi iomhaighean a mach à
Noph: agus cha bhi ni 's mò prionnſa
air tìr na h-Eiphit; agus cuiridh mi
eagal ann am fearann na h-Eiphit.
14 Agus ni mi Patros na fàſach,
agus cuiridh mi teine ann an Soan,
agus ni mi breitheanais ann an No.

15 Agus dòirtidh mi mo chorruich
air Sin, neart na h-Eiphit, agus gear-
raidh mi as muinntir No.
16 Agus cuiridh mi teine anns an
Eiphit, bidh cràdh mòr air Sin, agus
reubar No as a' chéile, agus bidh
Noph gach là ann an airc.
17 Tuitidh òganaich Abhein, agus
Phibeseit leis a' chlaidheamh, agus
imichidh *na bailtean* so gu daorsa.
18 Ann an Tahapanes fòs bidh an
là dorcha, 'nuair a bhriseas mise an sin
cuing na h-Eiphit: agus sguiridh
mòr-chuis a neart innte: seadh, folaich-
idh neul i, agus théid a nigheanan air
falbh am braighdeanas.
19 Mar so ni mise breitheanais
anns an Eiphit: agus aithnichidh iad
gur mi an Tighearn.
20 Agus tharladh, anns an aon
bhliadhna deug, anns a' cheud *mhìos*,
air an t-seachdamh *là* do 'n mhìos,
gu 'n d' thàinig focal an Tighearna
do m' ionnsuidh, ag ràdh,
21 A mhic an duine, bhris mise
gairdean Pharaoih righ na h-Eiphit;
agus feuch, cha cheanglar e suas gu
bhi air a leigheas, a chur crios air d' a
cheangal, d' a dheanamh làidir, a
chumail a' chlaidheimh.
22 Uime sin, mar so deir an Tigh-
earn Dia, Feuch, tha mise an aghaidh
Pharaoih righ na h-Eiphit, agus bris-
idh mi a ghairdeanan, *e sin a ta* làidir,
agus *e sin* a bhriseadh; agus bheir mi
air a' chlaidheamh tuiteam as a
làimh.
23 Agus sgapaidh mi na h-Eiph-
itich am measg nan cinneach, agus
sgaoilidh mi iad feadh nan dùchannan.
24 Agus neartaichidh mi gairdean-
an righ Bhabiloin, agus cuiridh mi mo
chlaidheamh 'na làimh: ach brisidh
mi gairdeanan Pharaoih, agus ni e
caoirean na fhianuis, mar dhuine a ta
leònta gu bàs.
25 Ach neartaichidh mi gairdeanan
righ Bhabiloin, agus tuitidh gairdean
Pharaoih sìos: agus aithnichidh iad
gur mise an Tighearn, 'nuair a chuir-
eas mi mo chlaidheamh ann an làimh
righ Bhabiloin, agus a shìneas e mach
e air tìr na h-Eiphit.
26 Agus sgapaidh mi na h-Eiphitich
am measg nan cinneach, agus sgaoil-
idh mi iad feadh nan dùchannan, agus
aithnichidh iad gur mi an Tighearn.

CAIB. XXXI.

AGUS tharladh, anns an aon
bhliadhna deug, anns an treas
mìos, air a' cheud *là* do 'n mhìos, gu
'n d' thàinig focal an Tighearna do
m' ionnsuidh, ag ràdh,
2 A mhic an duine, labhair ri
Pharaoh righ na h-Eiphit, agus r'a
mhòr-chuideachd, Co ris as cosmhuil
thu ann ad mhòrachd?
3 Feuch, bu chrann seudair ann an
Lebanon an t-Asirianach, le geugaibh
maiseach, agus le sgàil' dhorcha, agus
le airde mhòir; agus bha a bharr am
measg nam meangana tiugha.
4 Thug na h-uisgeachan air fàs,
dh' àraich an doimhne suas e, ruith a
sruithean mu thimchioll a mheanglan,
agus chuir i mach a sruthana beaga
chum uile chraobha na machrach.
5 Uime sin dh' éirich 'airde suas os
cionn uile chraobha na machrach, agus
bha a mheangana lìonmhor, agus
dh' fhàs a gheugan fada, le lìonmhoir-
eachd nan uisgeachan, an uair a sgaoil
e mach.
6 Rinn uile eunlaith nan speur an
nid na gheugaibh, agus fuidh a gheug-
aibh rug uile bheathaichean na
machrach an àlach, agus fuidh a sgàile
ghabh cruinneachadh mhòrain chinn-
each còmhnuidh.
7 Mar so bha e maiseach na mhòr-
achd, ann am fad a gheuga: oir bha
a fhreumh ri taobh nan uisgeacha
mòra.
8 Cha b' urradh na seudair ann an
gàradh Dhé 'fholach: cha robh na
craobha giùthais cosmhuil r' a mhean-
ganaibh, no na craobha geanm-chnò
cosmhuil r'a gheugaibh; cha robh
crann air bith ann an gàradh Dhé
cosmhuil ris na mhaise.
9 Rinn mi maiseach e le lìonmhoir-
eachd a gheuga; ionnus gu 'n do
ghabh uile chraobhan Edein, a bha
ann an gàradh Dhé, farmad ris.
10 Air an aobhar sin, mar so deir
an Tighearn Dia, A chionn gu'n d'rinn
e uaill as 'airde, agus gu 'n do chuir
e suas a bharr ann am meadhon nan
neul, agus gu bheil a chridhe air a
thogail suas na airde;

11 Uime sin thug mi thairis e do làimh aon chumachdaich nan cinneach: buinidh esan gu làidir ris, dh' fhuadaich mise a mach e air son a chionta.

12 Agus ghearr coimhich, a' chuid a's uamhasaiche do na cinnich, a mach e, agus dh' fhàg iad e: air na sléibhtibh, agus anns na gleannaibh uile thuit a gheugan, agus tha a mheangain air am briseadh anns gach uile chearnaidh do 'n talamh; agus dh' imich uile shluagh an domhain sìos o a sgàile, agus thréig iad e.

13 Air a bhallaibh briste gabhaidh uile eunlaith an athair còmhnuidh, agus bidh uile bheathaiche na machrach air a gheugaibh:

14 A chum nach ardaicheadh crann air bith do chrannaibh nan uisgeachan, iad féin air son an airde, agus nach cuireadh iad suas am barr am measg nan tiugh gheugan, ni mò sheasadh an crainn suas nan airde, gach aon ag òl suas nan uisgeachan: oir tha iad uile air an toirt thairis gu bàs, do ionadaibh ìochdrach na talmhainn, ann am meadhon chloinn nan daoine, maille riu-san a théid sìos do 'n t-slochd.

15 Mar so deir an Tighearn Dia, Anns an là air an deachaidh e sìos do 'n uaigh, thug mise fainear caoidh a dheanamh, chòmhdaich mi air a shon an doimhne, agus choisg mi a tuiltean, agus bhacadh na h-uisgeacha mòra; thug mi fòs air Lebanon caoidh air a shon, agus dh' fhannaich air a shon uile chraobha na machrach.

16 Thug mi air na cinnich criothnachadh ri fuaim a leagaidh, 'nuair a thilg mi e sìos do 'n ionad ìochdrach, leòsan a théid sìos do 'n t-slochd: agus bidh an co-fhurtachd ann an ionadaibh ìochdrach na talmhainn aig uile chraobhan Edein, rogha agus tagha Lebanoin, na h-uile ta 'g òl suas an uisge.

17 Chaidh iadsan mar an ceudna sìos do 'n ionad ìochdrach maille ris, a chum na dream a mharbhadh leis a' chlaidheamh; agus *iadsan* bu ghairdean da, a ghabh còmhnuidh fuidh a sgàile ann am meadhon nan cinneach.

18 Cò ma ta ris an cosmhuil thusa mar so ann an glòir, agus ann am mòrachd am measg chraobhan Edein? gidheadh, bheirear sìos thu maille ri craobhan Edein gu àiteachan ìochdrach na talmhainn: luidhidh tu ann am meadhon na muinntir neo-thimchioll-ghearrta, maille riu-san a mharbhadh leis a' chlaidheamh: so Pharaoh agus a mhòr-chuideachd uile, deir an Tighearn Dia.

CAIB. XXXII.

AGUS tharladh, anns an dara bliadhna deug, anns an dara mìos deug, air a cheud *là* do 'n mhìos, gu 'n d' thàinig focal an Tighearna do m' ionnsuidh, ag ràdh,

2 A mhic an duine, tog suas tuireadh air son Pharaoih rìgh na h-Eiphit, agus abair ris, Is cosmhuil thu ri leòmhann òg do na cinnich, agus tha thu mar uabheist anns na cuantaibh: agus thàinig thu mach le d' shruthaibh, agus chuir thu troimh chéile na h-uisgeachan le d' chasaibh, agus shaluich thu an aibhnichean.

3 Mar so deir an Tighearn Dia, Sgaoilidh mise uime sin, mo lìon tharad, le cuideachd mhòran chinneach, agus bheir iad a nìos thu ann am lìon.

4 An sin fàgaidh mi air an talamh thu, tilgidh mi mach air an fhaiche luim thu, agus bheir mi air uile eunlaith an athair luidhe ort, agus bheir mi do uile bheathaichibh na talmhainn an sàth dhiot.

5 Agus cuiridh mi d' fheoil air na sléibhtean, agus lìonaidh mi na glinn le do thulaichibh.

6 Uisgichidh mi fòs le d' fhuil am fearann anns am bheil thu a' snàmh, gu ruig na sléibhtean; agus bidh na h-aibhnichean làn diot.

7 Agus an uair a chuireas mi as thu, folaichidh mi na nèamha, agus ni mi an reulta dorcha: còmhdaichidh mi a' ghrian le neul, agus cha dthoir a' ghealach seachad a solus.

8 Uile sholuis loinreach [a] nèamha ni

[a] *dealrach, drithlineach*

ni mi dorcha os do chionn, agus cuir-
idh mi dorchadas air d' fhearann, deir
an Tighearn Dia.
9 Cuiridh mi fòs doilghios air
cridheachan mhòran dhaoine, tra bheir
mi do léir-sgrios am measg nan cinn-
each, gus na dùchanna nach b' aithne
dhuit.
10 Seadh, cuiridh mi air mòran
dhaoine uamhas do d' thaobh, agus
bidh eagal ro-mhòr air an righribh
air do shon, tra thogas[a] mise mo
chlaidheamh nan làthair, agus crioth-
naichidh iad ann an tiota; gach aon
air son a bheatha féin, ann an là do
leagaidh-sa.
11 Oir mar so deir an Tighearn
Dia, Thig claidheamh righ Bhabiloin
ort.
12 Le claidhmhean nan cumhachd-
ach bheir mise air do mhòr-chuid-
eachd tuiteam, leo-san uile a's uamhas-
aiche do na cinnich; agus millidh
iad mòr-chuis na h-Eiphit, agus bidh
a mòr-shluagh gu léir air an sgrios.
13 Sgriosaidh mi fòs a h-ainmhidh-
ean uile o thaobh nan uisgeacha mòra,
agus cha chuir cas duine dragh orra
tuille, ni mò ghluaiscar iad le ionga
ainmhidh.
14 An sin ni mise an uisgeachan
domhain,[b] agus bheir mi air an aibh-
nichean ruith mar oladh, deir an
Tighearn Dia.
15 Tra ni mi tìr na h-Eiphit na
fàsach, agus a bhios an dùthaich fal-
amh do n ni sin do 'n robh i làn, tra
bhuaileas mi na h-uile ta chòmhnuidh
innte, an sin aithnichidh iad gur mise
an Tighearn.
16 So an tuireadh[c] leis an tuir iad
os a cionn: ni nigheana nan cinneach
caoidh air a son: ni iad caoidh air a
son, air son na h-Eiphit, agus air son
a mòr-shluaigh uile, deir an Tighearn
Dia.
17 Tharladh mar an ceudna, san
dara bliadhna deug, air a' chùigeamh
là deug do 'n mhìos, gu 'n d' thàinig
focal an Tighearna do m' ionnsuidh,
ag ràdh,
18 A mhic an duine, dean cumha
air son mòr shluaigh na h-Eiphit, a-
gus tilg sios i, i féin agus nigheana nan
cinneach iomraiteach, gu ionadan ìoch-
drach na talmhainn, maille riu-san a
théid sìos do 'n t-slochd.
19 Cò air am bheil thu toirt barr-
achd ann am maise? imich sìos, agus
luidh leis na neo-thimchioll-ghearrta.
20 Tuitidh iad nam meadhon-san a
mharbhadh leis a' chlaidheamh: thug-
adh thairis do 'n chlaidheamh i;
tairngibh a mach i féin agus a sluagh
gu h-iomlan.
21 Labhraidh cinn-fheadhna nan
cumhachdach ris o mheadhon an ion-
aid ìochdraich, maille riu-san a chuid-
ich leis: chaidh iad sìos, tha iad nan
luidhe leis na neo-thimchioll-ghearrta
a mharbhadh leis a' chlaidheamh.
22 Tha Asur an sin agus a chuid-
eachd uile: tha 'uaighean-san m' a
thimchioll: tha iad uile marbh, air
tuiteam leis a' chlaidheamh.
23 Tha an uaighean air an suidh-
eachadh air gach taobh do 'n t-slochd,
agus tha a chuideachd mu thimchioll
'uaighe: iad uile air am marbhadh,
air tuiteam leis a' chlaidheamh, a
dhùisg uamhas ann an tìr nam beo.
24 An sin tha Elam agus a shluagh
uile mu thiomchioll 'uaighe, iad uile
air am marbhadh, air tuiteam leis a'
chlaidheamh; chaidh iadsan sìos neo-
thimchioll-ghearrta gu ionadan ìochd-
rach na talmhainn, a dhùisg uamhas
ann an tìr nam beo, gidheadh ghiùlain
iad an nàire leo san a chaidh sìos do
'n t-slochd.
25 Ann am meadhon nam marbh
shuidhich iad leabadh dha maille r'a
uile shluagh: tha an uaighean m' a
thimchioll, iad uile neo-thimchioll-
ghearrta, air am marbhadh leis a'
chlaidheamh: ge do dhùisgeadh an
uamhas ann an tìr nam beo, gidheadh
ghiùlain iad an nàire leo-san a chaidh
sìos do 'n t-slochd: chuireadh e ann am
meadhon na muinntir a mharbhadh.
26 An sin tha Mesech, Tubal, agus
a shluagh uile; tha an uaighean m' a
thimchioll: iad uile neo-thimchioll-
ghearrta, air am marbhadh leis a'
chlaidheamh, ge do sgaoil iad an
uamhas ann an tìr nam beo.
27 Agus cha luidh iad leis na cumh-
achdaich, a thuit do na neo-thimchioll-
ghearrta,

[a] *ghluaiseas, chrathas:* Eabh. [b] *soilleir.* [c] *cumha.*

ghearrta, a chaidh ſìos do ifrinn le 'n
armaibh [a] cogaidh: agus chuir iad an
claidhmhean fuidh 'n cinn, ach bidh
an aingidheachd air an cnàmhan, ge
b' iad uamhas nan cumhachdach ann
an tìr nam beo.

28 Seadh briſear thu ann am
meadhon nan neo-thimchioll-ghearrta,
agus luidhidh tu leo-ſan a mharbhadh
leis a' chlaidheamh.

29 An ſin tha Edom, a righrean,
agus a phrionnſachan uile, a ta le 'n
neart nan luidhe ann am fochair na
muinntir a mharbhadh leis a' chlaidh-
eamh: luidhidh iad leis na neo-thim-
chioll-ghearrta, agus leo-ſan a théid
ſìos do 'n t-ſlochd.

30 An ſin tha prionnſachan na
h-airde tuath, an t-iomlan diubh, a-
gus na Sidonaich uile, a chaidh ſìos
leis na mairbh, le 'n uamhas tha nàir
orra d' an cumhachd, agus tha iad
nan luidhe neo-thimchioll-ghearrta
leo-ſan a mharbhadh leis a' chlaidh-
eamh, agus a' giùlan an nàire leo-ſan
a théid ſìos do 'n t-ſlochd.

31 Chi Pharaoh iad, agus bidh co-
fhurtachd aige os cionn a mhòr-chuid-
eachd uile, *eadhon* Pharaoh agus 'fheachd
gu léir air am marbhadh leis a' chlaidh-
eamh, deir an Tighearn Dia.

32 Oir dhùiſg miſe m' uamhas ann
an tìr nam beo: agus ſuidhichear eſan
ann am meadhon nan neo-thimchioll-
ghearrta, leo-ſan a mharbhadh leis a'
chlaidheamh, Pharaoh agus a ſhluagh
gu léir, deir an Tighearn Dia.

C A I B. XXXIII.

ARIS thàinig focal an Tighearna
do m' ionnſuidh, ag ràdh,

2 A mhic an duine, labhair ri cloinn
do ſhluaigh, agus abair riu, 'Nuair a
bheir miſe an claidheamh air dùth-
aich, ma ghabhas muinntir na dùthcha
duine do 'n crìochaibh féin, agus gu
'n cuir iad e gu bhi na fhear-faire
dhoibh;

3 Ma ſhéideas e 'n trompaid 'nuair
a chì e 'n claidheamh a' teachd air an
fhearann, agus ma bheir e rabhadh [b]
do 'n t-ſluagh,

4 An ſin, cò air bith a chluinneas
fuaim na trompaid, agus nach gabh
rabhadh; ma thig an claidheamh, a-
gus gu 'n dthoir e air falbh e, bidh
'fhuil air a cheann féin.

5 Chuall e fuaim na trompaid, agus
cha do ghabh e rabhadh, bidh 'fhuil
air féin: ach eſan a ghabhas rabhadh
tearnaidh e 'anam.

6 Ach ma chi am *fear-faire* an
claidheamh a' teachd, agus nach ſéid
e 'n trompaid, agus nach faigh an
ſluagh rabhadh; ma thig an claidh-
eamh, agus gu 'n dthoir e aon neach
air falbh uatha, tha e air a thoirt air
falbh na aingidheachd: ach iarruidh
miſe 'fhuil air làimh an *fhir-fhaire*.

7 Mar ſin thuſa, a mhic, an duine,
chuir mi thu mar fhear-faire chum
tighe Iſraeil: uime ſin éiſdidh tu am
focal o m' bheul-ſa, agus bheir thu
dhoibh rabhadh uam-ſa.

8 'Nuair a their *miſe ris* an aingidh,
O dhuine aingidh, gheibh thu gu
deimhin bàs; mur labhair thuſa chum
an t-aingidh a thoirmeaſg o 'ſhlighe [c],
gheibh an duine aingidh ſin bàs na
aingidheachd: ach air do làimh-ſa
iarruidh miſe 'fhuil.

9 Gidheadh, ma bheir thuſa rabh-
adh do 'n aingidh mu thimchioll a
ſhlighe, gu pilleadh uaipe: mar pill e
o 'ſhlighe, gheibh e bàs na aingidh-
eachd, ach thèarainn thuſa d' anam.

10 Uime ſin, a mhic an duine,
labhair thuſa ri tigh Iſraeil, Mar ſo
deir ſibh, ag ràdh, Ma bhios ar cionta
agus ar lochdan oirnn, agus gu 'n
ſearg ſinn annta, cionnus a dh' fheudas
ſinn mar ſin bhi beo?

11 Abair riu, Mar is beo miſe, deir
an Tighearn Dia, cha 'n 'eil tlachd
air bith agamſa ann am bàs an ain-
gidh, ach gu 'm pilleadh an t-aingidh
o 'ſhlighe, agus gu 'm biodh e beo:
pillibh, pillibh, o 'r droch ſhlighibh,
c' ar ſon a bhàſaicheas ſibh, O thigh
Iſraeil?

12 Uime ſin, a mhic an duine, abair
thuſa ri cloinn do ſhluaigh, cha dean
fìreantachd an fhìrein a ſhaoradh ann
an là a chionta: agus na aingidheachd
cha tuit an t-aingidh innte an là ſam
pill e o 'chionta; ni mò dh' fheudas
am

[a] *acfuinn.* [b] *rogbadh.* [c] *chum rabhadh thoirt do 'n aingidh* pilltinn
o 'ſhlighe.

am firean a bhi beo air son '*fhìrean-*
tachd anns an là sam peacaich e.
13 'Nuair a their mise ris an fhìr-
ean gu mair e gu deimhin beo: mu ni
e bun as 'fhìreantachd féin, agus gu 'n
dean e aingidheachd, cha chuimhnich-
ear 'uile fhìreantachd; ach air son
'aingidheachd a rinn e, air son sin
gheibh e bàs.
14 A rìs, an uair a their mise ris
an aingidh, Gheibh thu gu deimhin
bàs: mu philleas e o 'pheaca, agus
gu 'n dean e an ni sin a ta dligheach
agus ceart;
15 Ma bheir an t-aingidh air ais
an geall, agus gu 'n aisig e a rìs an
ni a ghoid e, gu 'n gluais e ann an
reachdaibh na beatha, gun aingidh-
eachd a chur an gnìomh; mairidh e
gu deimhin beo, cha 'n fhaigh e bàs.
16 Cha chuimhnichear dha lochd
air bith a rinn e: rinn e an ni a ta
dleasdanach agus ceart: mairidh e gu
cinnteach beo.
17 Gidheadh a deir clann do
shluaigh-sa, Cha 'n 'eil slighe an Tigh-
earna cothromach. Ach air an son-san,
cha 'n 'eil an slighe cothromach.
18 'Nuair a philleas am firean air
ais o 'fhìreantachd, agus a chuireas e
'n gnìomh aingidheachd, gheibh e bàs
d' a chionn.
19 Ach ma philleas an t-aingidh
air falbh o 'aingidheachd, agus gu 'n
dean e an ni sin a ta dleasdanach agus
ceart, mairidh e beo d' a chionn.
20 Gidheadh a deir sibh, Cha 'n
'eil slighe an Tighearna cothromach:
O thigh Israeil, bheir mise breith
oirbh, air gach aon do réir a shlighe.
21 Agus tharladh anns an aon
bhliadhna deug d' ar bruid, anns an
deicheamh *mìos*, air a' chùigeamh *là*
do 'n mhìos, gu 'n d' thàinig aon a
theich o Ierusalem do m' ionnsuidh-sa,
ag ràdh, Bhuaileadh am baile.
22 Agus bha làmh an Tighearna
orm anns an an-moch, mu 'n d' thàinig
esan a theich, agus dh' fhosgail i mo
bheul, gus an d' thàinig e chugam
anns a' mhaduinn; agus dh' fhosgladh
mo bheul, agus cha robh mi ni bu
mhò balbh.
23 An sin thàinig focal an Tighear-
na do m' ionnsuidh, ag ràdh,
24 A mhic an duine, tha iadsan a
ta 'g àiteachadh nan ionada fàs sin do
fhearann Israeil a' labhairt, ag ràdh,
Bha Abraham na aonar, agus shealbh-
aich e am fearann: ach tha sinne
lìonmhor, thugadh am fearann dhuinn
mar sheilbh.
25 Air an aobhar sin, abair riu,
Mar so deir an Tighearn Dia, Tha
sibh ag itheadh maille ris an fhuil,
agus a' togail 'ur sùl suas ri 'r n-iodh-
olaibh, agus a' dòrtadh fala; agus an
sealbhuich sibh am fearann?
26 Tha sibh a' seasamh air 'ur
claidheamh, tha sibh a' deanamh
gràinealachd, agus a' truailleadh, gach
aon *agaibh*, mnà a choimhearsnaich;
agus an sealbhuich sibh am fearann?
27 Abair thusa riu mar so, Mar so
deir an Tighearn Dia, Mar is beo
mise, gu deimhin tuitidh iadsan a ta
anns na h-ionadaibh fàsa leis a' chlaidh-
eamh, agus esan a ta sa' mhachair
sgaoilte, bheir mise do na beathaich-
ibh r' a itheadh, agus bàsaichidh iad-
san a bhios anns na daingnichibh agus
anns na h-uamhaibh leis a' phlàigh.
28 Oir fàgaidh mise am fearann ro
fhàsail, agus sguiridh mòrachd a
threise: agus bidh sléibhtean Israeil
fàs, air chor as nach d' théid aon neach
rompa[a].
29 An sin aithnichidh iad gur mise
an Tighearn, 'nuair a ni mi am fear-
ann ro-fhàsail, air son an uile ghràin-
ealachdan a chuir iad an gnìomh.
30 Agus thusa, a mhic an duine,
tha clann do shluaigh an còmhnuidh
a' labhairt umad ri taobh nam ballach-
an, agus ann an dorsaibh nan tighean,
agus a' labhairt aon r' a chéile, gach
aon r' a bhràthair, ag ràdh, Thigibh,
guidheam oirbh, agus éisdibh ciod am
focal a ta teachd a mach o 'n Tigh-
earn.
31 Agus tha iad a' teachd do
d' ionnsuidh mar chruinneachadh
sluaigh, agus tha iad a' suidhe ann ad
làthair mar mo phobull-sa, agus tha
iad ag éisdeachd do bhriathran, ach
cha 'n 'eil iad 'gan deanamh: oir tha
iad

[a] *trompa.*

iad a' taisbeanadh mòran gràidh le 'm beul, ach tha an cridhe a' dol an déigh an sainnt.

32 Agus feuch, tha thusa dhoibh mar òran ro thaitneach duine aig am bheil guth binn, agus a' chluicheas gu maith air inneal ciuil: oir tha iad ag éisdeachd do bhriathran, ach cha 'n 'eil iad 'gan deanamh.

33 Agus tra thig so gu crìch, (feuch tha e teachd) an sin aithnichidh iad gu 'n robh fàidh nam measg.

CAIB. XXXIV.

AGUS thàinig focal an Tighearna do m' ionnsuidh, ag ràdh,

2 A mhic an duine, dean fàisneachd an aghaidh aodhairean Israeil, dean fàisneachd, agus abair riu, O aodhairean, mar so deir an Tighearn Dia, Mo thruaighe aodhairean Israeil, a ta 'g am beathachadh féin; nach bu chòir do na h-aodhairibh an treud a bheathachadh?

3 Tha sibh ag itheadh na saill, agus 'g ur n-éideadh féin leis an olainn, tha sibh a' marbhadh nan ainmhidhean biadhta: cha 'n 'eil sibh a' beathachadh an treud.

4 Cha do neartuich sibh an lag, ni mò leighis sibh an tinn, ni mò cheangail sibh suas e sin a bha briste, ni mò thug sibh air ais a' chuid a sgapadh, ni mò dh' iarr sibh a' chuid a chailleadh; ach le h-ain-neart riaghlaich sibh iad, agus le h-an-iochd.

5 Agus sgapadh iad le dìth aodhaire: agus bha iad nam biadh do uile bheathaichibh na machrach, an uair a bha iad air an sgapadh.

6 Chaidh mo chaoirich-sa air seachran air feadh nan uile bheann, agus air gach sliabh àrd: seadh bha mo threud air a sgapadh air aghaidh na talmhainn uile, agus cha robh aon neach 'g an sireadh no 'gan iarruidh.

7 Uime sin, aodhairean, éisdibhse focal an Tighearna;

8 Mar is beo mise, deir an Tighearn Dia, gu deimhin a chionn gu 'n robh mo threud nan creich, agus gu 'n d' rinneadh mo threud nam biadh do uile bheathaichibh na machrach, a chionn nach robh aodhaire sam bith ann, ni mò dh' iarr m' aodhairean mo threud, ach bheathaich na h-aodhairean iad féin, agus cha do bhiath iad mo threud-sa:

9 Uime sin, O aodhairean, éisdibh focal an Tighearna.

10 Mar so deir an Tighearn Dia, Feuch, tha mise 'n aghaidh nan aodhairean, agus iarruidh mi mo threud air an làimh, agus bheir mi orra sgur do bhiathadh an treud, ni mò bheathaicheas na h-aodhairean iad féin tuille; oir saoraidh mise mo threud as am beul, a chum nach bi iad dhoibh nam biadh.

11 Oir mar so deir an Tighearn Dia, Feuch, lorgaichidh mise, mise féin, mo chaoirich, agus iarruidh mi mach iad.

12 Amhuil a lorgaicheas aodhaire mach a threud, anns an là bhios e measg a chaorach a chaidh a sgapadh; mar sin iarruidh mise mo chaoirich féin, agus saoruidh mi iad as na h-uile àite gus an robh iad air an sgànradh, anns an latha neulach agus dhorcha.

13 Agus bheir mi mach iad o mheasg nan cinneach, agus cruinnichidh mi iad o na dùchannaibh, agus bheir mi iad gu 'm fearann féin, agus ionaltraidh mi iad air sléibhtibh Israeil, an cois nan aibhnichean, agus ann an uile ionadaibh àitichte na tire.

14 Ionaltraidh mi iad ann an innis mhaith, agus bidh am buaile air sléibhtibh arda Israeil: an sin luidhidh iad ann an cluain mhaith, agus ionaltraidh iad ann an innis reamhair air sléibhtibh Israeil.

15 Beathaichidh mise mo threud, agus bheir mi orra luidhe sìos, deir an Tighearn Dia.

16 Iarruidh mi a' chuid a chailleadh, agus bheir mi air ais a' chuid a dh' fhuadaicheadh air falbh, agus ceanglaidh mi suas a' chuid a bhriseadh, agus neartaichidh mi a' chuid a bha tinn: ach sgriosaidh mi an reamhar agus an làidir, beathaichidh mi iad sin le breitheanas.

17 Agus air 'ur son-sa, O mo threud; mar so deir an Tighearn Dia, Feuch, bheir mise breith eadar spréidh agus spréidh, eadar na reitheachan agus na gabhra fìrionn.

18 An ni suarrach leibhse an innis

mhaith itheadh suas, ach gu 'n saltair
sibh fòs a' chuid eile do 'n ionaltradh
sìos fuidh 'ur casaibh? agus òl do na
h-uisgeacha domhain, ach gur éigin
duibh a' chuid eile a shalchadh le 'r
casaibh.
19 Agus air son mo threud-sa, tha
iad ag itheadh an ni sin a shaltair sibh
fuidh 'ur casaibh, agus ag òl an ni sin
a rinn 'ur casan a thruailleadh.
20 Air an aobhar sin, mar so deir
an Tighearn Dia riu, Feuch, bheir
mise, mise féin, breith eadar an spréidh
reamhar agus an spréidh chaol.
21 A chionn gu 'n do thulg sibh le
taobh agus le slinnein, agus gu 'n d'
rinn sibh an t-easlan uile a phurradh
le 'r n-adharcaibh, gus an do sgainnir
sibh iad o chéile:
22 Uime sin tearnaidh mise mo
threud, agus cha bhi iad ni 's mò nan
creich, agus bheir mi breith eadar
spréidh agus spréidh.
23 Agus cuiridh mi suas aon aodh-
aire os an cionn, agus beathaichidh
esan iad, *eadhon* mo sheirbhiseach
Daibhidh; beathaichidh esan iad, agus
bidh e dhoibh na aodhaire.
24 Agus bidh mise Iehobhah ann
am Dhia dhoibh, agus mo sheirbhis-
each Daibhidh na phrionnsa nam
measg; labhair mise Iehobhah *e*.
25 Agus ni mise coimhcheangal sìth
riu, agus cuiridh mi cosgadh air na
droch bheathaichean anns an fhear-
ann; agus gabhaidh iad còmhnuidh
gu tèaruinte san fhàsaich, agus caid-
lidh iad anns na coilltibh.
26 Agus ni mi iadsan, agus na h-
ionadan timchioll mo shléibh nam
beannachadh; agus bheir mi air an
fhrois teachd a nuas na h-àm: bidh
frasan do bheannachdaibh ann.
27 Agus bheir craobh na machrach
seachad a toradh, agus bheir an tal-
amh seachad a chinneas, agus bidh iad
tèaruinte nan dùthaich, agus aithnich-
idh iad gur mise an Tighearn, 'nuair
a bhriseas mi cuibhrichean an cuinge,
agus a shaoras mi iad a làimh na
muinntir a ghabh seirbhis diubh.
28 Agus cha bhi iad ni 's mò nan
cobhartaich do na cinnich, ni mò ni
beathaichean an fhearainn an slugadh
suas: ach gabhaidh iad còmhnuidh gu
tèaruinte, agus cha chuir aon neach
eagal *orra*.
29 Agus togaidh mi suas doibh
meangan [b] cliuiteach, agus cha bhi
iad air an claoidh ni 's mò le gort
anns an fhearann, ni mò ghiùlaineas
iad masladh nan cinneach ni 's faide.
30 Mar so aithnichidh iad gu bheil
mise an Tighearn Dia maille riu, agus
gur iadsan, tigh Israeil, mo shluagh,
deir an Tighearn Dia.
31 Agus sibhse, mo threud, treud
m' ionaltraidh is daoine sibh, agus is
mise bhur Dia, deir an Tighearn Dia.

CAIB. XXXV.

OS barr, thàinig focal an Tigh-
earna do m' ionnsuidh, ag ràdh,
2 A mhic an duine, cuir d' aghaidh
ri sliabh Sheir, agus dean fàisneachd
na aghaidh,
3 Agus abair ris, Mar so deir an
Tighearn Dia, Feuch, O shléibh Sheir,
tha mise 'n ad aghaidh, agus sinidh
mi mo làmh a mach a' d' aghaidh,
agus ni mi sgrios agus léir-sgrios ort.
4 Ni mi do bhailtean nam fàsach,
agus bithidh tu a' d' nochd-làraich,
agus bidh fios agad gur mise an Tigh-
earn.
5 A chionn gu 'n robh fuath bith-
bhuan agad, agus gu 'n do dhòirt thu
fuil cloinne Israeil le neart a' chlaidh-
eimh, ann an àm an airce, anns an àm
an robh deireadh aig an aingidheachd.
6 Air an aobhar sin, mar is beo
mise, deir an Tighearn Dia, ulmhaich-
idh [c] mi thusa air son fala, agus ni fuil
do dhian-ruagadh: a chionn nach d'
fhuathaich thu fuil, ni fuil do dhian-
ruagadh.
7 Mar so ni mi léir-sgrios air sliabh
Sheir, agus gearraidh mi uaithe an ti
théid a mach, agus an ti philleas air ais.
8 Agus lìonaidh mi a shléibhtean
le 'dhaoine marbhta: air do chnocaibh,
agus ann ad ghleannaibh, agus ann ad
uile aibhnicheah tuitidh iadsan a
mharbhar leis a' chlaidheamh.
9 Ni mise fàsaichean siorruidh
dhiot, agus cha togar a rìs do bhail-
tean.

[a] *sgap*. [b] *faillean*. [c] *ullaichiab*.

tean, agus aithnichidh sibh gur mise
an Tighearn;
10 A chionn gu 'n d' thubhairt
thu, Bidh an dà chinneach so, agus
an dà dhùthaich so agam-sa, agus
sealbhaichidh sinn iad: ged bha 'n
Tighearn an sin:
11 Uime sin, mar is beo mise, deir
an Tighearn Dia, ni mi eadhon do
réir d' fheirge, agus do réir d' fhar-
maid a nochd thu, le d' fhuath nan
aghaidh: agus ni mi mi féin aithnichte
nam measg, tra bheir mi breith ortsa.
12 Agus aithnichidh tusa gur mi
an Tighearn, agus gu 'n cuala mi
d' uile thoibheum an aghaidh shléibh-
tean Israeil, ag ràdh, Dh' fhàgadh fàs
iad, agus thugadh iad dhuinne d' an
slugadh.
13 Mar so le 'r beul rinn sibh uaill
ann am aghaidh-sa, agus mheudaich
sibh 'ur briathran ann am aghaidh;
chuala mise.
14 Mar so deir an Tighearn Dia,
Tra ni an talamh uile gairdeachas, ni
mise fàs thusa.
15 Mar a rinn thusa gairdeachas os
cionn oighreachd tighe Israeil, a chionn
gu 'n robh i fàs, mar sin ni mise riut-
sa: bithidh tu fàs, O shléibh Sheir,
agus Idumea uile, an t-iomlan deth,
agus aithnichidh iad gur mise an
Tighearn.

CAIB. XXXVI.

MAR an ceudna, a mhic an duine,
dean fàisneachd do shléibhtibh
Israeil, agus abair, A shléibhte Israeil,
cluinnibh focal an Tighearna.
2 Mar so deir an Tighearn Dia, A
chionn gu 'n d' thubhairt an nàmhaid,
'nur n-aghaidh, Aha, is leinne fòs na
seann ionada arda mar sheilbh:
3 Uime sin, dean fàisneachd agus
abair, Mar so deir an Tighearn Dia,
A chionn gu 'n d' rinn iad fàs sibh,
agus gu 'n do shluig iad suas sibh air
gach taobh, gu bhi 'nur seilbh do
fhuigheall nan cinneach, agus gu bheil
sibh air 'ur gabhail ann am beul luchd
seanachais, agus 'nur mi-chliu am
measg dhaoine:
4 Air an aobhar sin, a shléibhte
Israeil, éisdibh focal an Tighearna,
Mar so deir an Tighearn Dia ris na
sléibhtibh agus ris na cnocaibh, ris na
sruthaibh agus ris na gleannaibh, ris
na fàsaichibh uaigneach, agus ris na
bailtibh a thréigeadh, a dh'fhàs
nan cobhartaich agus nam ball-fanaid
do fhuigheall nan cinneach mu 'n
cuairt:
5 Air an aobhar sin mar so deir an
Tighearn Dia, Gu deimhin ann an
teine m' eud labhair mi 'n aghaidh
fuighill nan cinneach, agus an aghaidh
Idumea uile, a ghabh mo dhùthaich-
sa gu bhi na seilbh dhoibh, le gair-
deachas an uile chridhe, le inntinn
aingidh [a], ga toirt thairis mar chreich.
6 Dean fàisneachd, uime sin mu
thimchioll fearainn Israeil, agus abair
ris na sléibhtibh agus ris na cnocaibh,
ris na sruthaibh agus ris na gleannaibh,
Mar so deir an Tighearn Dia, Feuch,
labhair mise ann am eud agus ann am
chorruich, a chionn gu 'n do ghiùlain
sibh tàmailte nan cinneach.
7 Air an aobhar sin, mar so deir an
Tighearn Dia, Thog mise suas mo
làmh; Gu deimhin na cinnich mu 'n
cuairt duibh giùlainidh iad féin am
masladh.
8 Ach sibhse, O shléibhte Israeil,
cuiridh sibh a mach 'ur geuga, agus
bheir sibh 'ur toradh do m' shluagh-sa
Israel, oir tha iad am fagus a chum
teachd.
9 Oir feuch, tha mise leibh, agus
pillidh mi ruibh, agus bithidh sibh air
'ur treabhadh agus air 'ur cur.
10 Agus ni mi daoine lionmhor
oirbh, uile thigh Israeil gu h-iomlan,
agus bidh na bailtean air an àiteach-
adh, agus bidh na h-ionadan fàs air an
togail.
11 Agus ni mi lionmhor oirbh
duine agus ainmhidh, agus fàsaidh iad
lionmhor, agus bheir iad toradh; agus
suidhichidh mi sibh mar a bha sibh o
shean, agus ni mi *ruibh* ni 's fearr na
ann 'ur toiseach, agus aithnichidh sibh
gur mise an Tighearn.
12 Seadh, bheir mi air daoine cois-
eachd oirbh, *eadhon* mo phobull Israel,
agus sealbhaichidh iadsan thu, agus
bidh

[a] *tharcuisich.*

bidh tu dhoibh a' d' oighreachd, agus
cha dean thu iad ni 's mò uireas-
bhuidheach.
13 Mar so deir an Tighearn Dia,
A chionn gu 'n abair iad riut, Thusa
a shluig suas daoine, agus a dh' fhàg
gun sliochd do chinnich:
14 Uime sin cha sluig thu daoine
ni 's mò, agus cha 'n fhàg thu do
chinnich ni 's mò gun sliochd, deir an
Tighearn Dia.
15 Ni mò dh' fhuilingeas mise gu 'n
cluinnear tàmailte nan cinneach annad
tuille, ni mò ghiùlaineas tu masladh an
t-sluaigh ni 's faide, ni mò bheir thu
air do chinnich tuiteam tuille, deir an
Tighearn Dia.
16 Os barr thàinig focal an Tigh-
earna do m' ionnsuidh, ag ràdh,
17 A mhic an duine, tra bha tigh
Israeil a chòmhnuidh nan dùthaich
féin, thruaill iad i le 'n slighe féin
agus le 'n deanadas: bha an slighe
ann am làthair-sa mar neo-ghloine mna
a chuireadh air leth.
18 Air an aobhar sin dhòirt mi orra
mo chorruich, air son na fala a dhòirt
iad air an fhearann, agus air son an
iodhola leis an d' rinn iad a thruaill-
eadh.
19 Agus sgap mi iad am measg nan
cinneach, agus bha iad air an sgaoil-
eadh air feadh nan dùchannan. Do
réir an slighe, agus do réir an deana-
dais thug mise breith orra.
20 Agus tra chaidh iad a steach a
chum nan cinneach gus an deachaidh
iad, thruaill iad sin m' ainm naomh-sa,
tra thuirt iad riu, Is iad so sluagh
an Tighearna, gidheadh chaidh iad a
mach as 'fhearann.
21 Ach ghabh mise truas diubh air
son m' ainme naomha féin, a thruaill
tigh Israeil am measg nan cinneach
gus an deachaidh iad.
22 Air an aobhar sin, abair ri tigh
Israeil, Mar so deir an Tighearn Dia,
Cha 'n 'eil mi deanamh so air 'ur son-
sa, O thigh Israeil, ach air son m' ainme
naomha féin, a thruaill sibhse am
measg nan cinneach gus an deachaidh
sibh.
23 Agus naomhaichidh mi m' ainm
mòr féin, a bha air a thruailleadh am
measg nan cinneach, a thruaill sibhse
nam meadhon, agus aithnichidh na
cinnich, gur mise an Tighearn, deir
an Tighearn Dia, tra bhios mi air mo
naomhachadh annaibhsa fa chomhair
an sùl.
24 Oir bheir mi sibh o mheasg nan
cinneach, agus tionailidh mi sibh as na
h-uile dhùchaibh, agus bheir mi sibh
gu 'r fearann féin:
25 An sin crathaidh mi uisge glan
oirbh, agus bithidh sibh glan: o 'r
n-uile shalchar, agus o 'r n-uile io-
dholaibh glanaidh mi sibh.
26 Bheir mi fòs dhuibh cridhe
nuadh, agus cuiridh mi spiorad nuadh
an taobh a stigh dhibh, agus buinidh
mi air falbh an cridhe cloiche as 'ur
feoil, agus bheir mi dhuibh cridhe
feòla.
27 Agus cuiridh mi mo spiorad an
taobh a stigh dhibh, agus bheir mi
oirbh gluasad ann am reachdaibh, a-
gus coimhididh sibh mo bhreitheanais,
agus ni sibh iad.
28 Agus gabhaidh sibh còmhnuidh
anns an fhearann a thug mise do 'r
n-aithrichibh, agus bidh sibh 'nur
sluagh dhomhsa, agus bidh mise ann
am Dhia dhuibh-sa.
29 Saoraidh mi sibh fòs o 'r n-uile
shalcharaibh; agus gairmidh mi air
an arbhar, agus meudaichidh mi e,
agus cha chuir mi gort air bith oirbh.
30 Agus meudaichidh mi meas na
craoibhe, agus cinneas na machrach,
air chor as nach faigh sibh ni 's mò
masladh gorta measg nan cinneach.
31 An sin cuimhnichidh sibh 'ur
droch shlighe féin, agus 'ur deanadais
nach robh maith, agus fuathaichidh
sibh sibh féin ann 'ur sealladh féin, air
son 'ur n-eaceartan, agus air son 'ur
gràinealachdan.
32 Cha 'n ann air 'ur son-sa ta
mise a' deanamh so, deir an Tighearn
Dia, biodh fios agaibh: biodh nàire
agus amhluadh oirbh air son 'ur
sligheanna féin, O thigh Israeil.
33 Mar so deir an Tighearn Dia,
Anns an là san glan mi sibh o 'r n-
uile aingidheachd, bheir mi fòs fai-
near gu 'n gabh sibh còmhnuidh anns
na cathraichibh, agus bidh na h-ionad-
an fàs air an togail.
34 Agus bidh am fearann fàs air
a threabh-

a threabhadh, an àit' e bhi na luidhe fàs an sealladh gach aon a ghabh seachad.

35 Agus their iad, Tha an tìr so bha uaigneach, air fàs mar ghàradh Edein, agus na cathraichean falamh, fàs, agus millte, tha iad air an daingneachadh, agus air an àiteachadh.

36 An sin aithnichidh na cinnich a dh' fhàgadh air gach taobh dhibh gur mise an Tighearn a thogas na h-àiteacha sgriosta, a shuidhicheas an *t-ionad* fàsail: mise Iehobhah labhair, agus ni mi.

37 Mar so deir an Tighearn Dia, Bidh mise fathasd air m' iarruidh san ni so le tigh Israeil, a chum a dheanamh air an son; ni mi lìonmhor iad le daoine mar threud.

38 Mar an treud naomh, mar threud Ierusaleim na féillibh arda: mar sin bidh na bailtean fàs air an lìonadh le treudaibh dhaoine, agus aithnichidh iad gur mise an Tighearn.

C A I B. XXXVII.

BHA làmh an Tighearna orm, agus thug e mach mi ann an spiorad an Tighearna, agus chuir e sios mi ann am meadhon a' ghlinne a bha làn do chnàmhan.

2 Agus thug e orm gabhail seachad orra mu 'n cuairt, air gach taobh: agus feuch, bha iad ro-lìonmhor anns a' mhachair sgaoilte; agus feuch, bha iad ro-thioram.

3 Agus thuirt e rium, A mhic an duine, am feud na cnàmhan so teachd beo? agus fhreagair mise, O Thighearn Dhia, agad-sa tha fios.

4 An sin thuirt e rium, A mhic an duine, dean fàisneachd do na cnàmhan so, agus abair riu, O chnàmha tiorma, éisdibh-sa focal an Tighearna.

5 Mar so deir an Tighearn Iehobhah ris na cnàmhan so, Feuch, cuiridh mise anail annaibh, agus bithidh sibh beo.

6 Agus cuiridh mi fèithean oirbh, agus bheir mi air feoil fàs oirbh, agus còmhdaichidh mi sibh le craicionn, agus cuiridh mi anail annaibh; agus bidh sibh beo, agus aithnichidh sibh gur mi an Tighearn.

7 Mar sin rinn mise fàisneachd mar a dh' àithneadh dhomh: agus am feadh a bha mi ri fàisneachd, bha toirm ann, agus feuch crith-ghluasad, agus thàinig na cnàmha chum a' chéile, cnàimh a chum a chnàmha.

8 Agus an uair a dh' amhairc mi, feuch, dh' fhàs fèithean agus feoil orra, agus chòmhdaich an craicionn iad tharta; ach cha robh anail annta.

9 An sin thuirt e rium, Dean fàisneachd do 'n anail, dean fàisneachd, a mhic an duine, agus abair ris an anail, Mar so deir an Tighearn Iehobhah, Thig o na ceithir ghaothaibh, O anail, agus séid air na mairbh so, chum gu 'm bi iad beo.

10 Is amhuil a rinn mise fàisneachd mar a dh' àithneadh dhomh, agus thàinig an anail do 'n ionnsuidh, agus dh' fhàs iad beo, agus sheas iad air an casaibh, armailte anbharr mòr.

11 An sin thuirt e rium, A mhic an duine, is iad na cnàmhan so an t-iomlan do thigh Israeil; feuch a deir iad, tha ar cnàmhan air tiormachadh, agus ar dòchas air a chall, is ann a tha sinn air ar gearradh as.

12 Air an aobhar sin dean fàisneachd, agus abair riu, Mar so deir an Tighearn Iehobhah, Feuch, O mo shluagh, fosglaidh mise bhur n-uaighean, agus bheir mi oirbh teachd a nìos as 'ur n-uaighibh, agus bheir mi sibh gu fearann Israeil.

13 Agus aithnichidh sibh gur mise an Tighearn 'nuair a dh' fhosglas mi 'ur n-uaighean, O mo shluagh, agus a bheir mi sibh a nìos as 'ur n-uaighibh,

14 Agus a chuireas mi mo spiorad annaibh, agus a bhitheas sibh beo, agus a shuidhicheas mi sibh 'n'ur fearann féin: an sin aithnichidh sibh gur mise Iehobhah a labhair, agus gu 'n d' rinn mi, deir an Tighearn.

15 Thàinig focal an Tighearna do m' ionnsuidh a rìs, ag ràdh,

16 A bharr air so, a mhic an duine, gabh thusa chugad aon mhaide, agus sgrìobh air, Air son Iudah, agus air son cloinne Israeil a chompanaich: an sin gabh maide eile, agus sgrìobh air, Air son Ioseiph, maide Ephraim, agus uile thighe Israeil a chompanaich.

17 Agus ceangail iad aon r' a chéile

nan

nan aon mhaide, agus fàsaidh iad nan
aon ann ad làimh.
18 Agus an uair a labhras clann do
shluaigh riut, ag ràdh, Nach feuch
thu dhuinn ciod is ciall duit leis na
nithibh so?
19 Abair riu, Mar so deir an Tigh-
earn Iehobhah, Feuch, gabhaidh mise
maide Iosefiph a ta 'n làimh Ephraim,
agus fineachan Israeil, a chompanaich,
agus cuiridh mi iad maille ris, maille
ri maide Iudah, agus ni mi aon mhaide
dhiubh, agus bithidh iad nan aon ann
am làimh.
20 Agus bidh na maidean air an
sgrìobh thu ann ad làimh fa chomhair
an sùl.
21 Agus abair riu, Mar so deir an
Tighearn Iehobhah, Feuch, bheir mise
clann Israeil o mheasg nan cinneach
gus a' bheil iad air imeachd, agus'
cruinnichidh mi iad air gach taobh,
agus bheir mi iad gu 'n dùthaich féin.
22 Agus ni mi aon chinneach
dhiubh anns an fhearann, air sléibh-
tibh Israeil, agus bidh aon righ na
righ dhoibh uile: agus cha bhi iad
ni's mò nan dà chinneach, ni mò bhios
iad air an roinn nan dà rioghachd
tuille air aon chor.
23 Ni mò thruailleas iad iad féin
tuille le 'n ìodholaibh, no le 'n nithibh
fuathach, no le aon air bith do 'n ea-
ceartaibh: ach saoraidh mise iad o 'n
uile cheannaircibh anns an robh iad
ciontach, agus glanaidh mi iad: mar
sin bidh iadsan nan sluagh dhomhsa,
agus bidh mise ann am Dhia dhoibh-
san.
24 Agus bidh m' òglach Daibhidh
na righ os an cionn: agus bidh aon
bhuachaill ac' uile: gluaisidh iad fòs
ann am reachdaibh, agus bheir iad
fainear m' orduighean, agus ni siad
iad.
25 Agus gabhaidh iad còmhnuidh
san fhearann a thug mise do m' òg-
lach Iacob, anns an do ghabh 'ur n-
aithrichean còmhnuidh: agus gabh-
aidh iadsan còmhnuidh ann, iad féin,
agus an clann, agus clann an cloinne
gu bràth, agus bidh m' òglach Daibh-
idh na righ dhoibh gu siorruidh.
26 A thuille air so, ni mise coimh-
cheangal sìth riu, bidh e na choimh-
cheangal siorruidh riu, agus suidhich-
idh mi iad, agus ni mi lìonmhor iad,
agus cuiridh mi mo naomh-ionad nam
meadhon gu bràth.
27 Bidh mo phàilliun mar an
ceudna maille riu: seadh, bidh mise
dhoibhsan ann am Dhia, agus bidh
iadsan dhomhsa nan sluagh.
28 Agus aithnichidh na cinnich
gur mise Iehobhah a naomhaicheas
Israel, an uair a bhios mo naomh-
ionad nam meadhon gu siorruidh.

C A I B. XXXVIII.

AGUS thàinig focal an Tighearna
do m' ionnsuidh-sa, ag ràdh,
2 A mhic an duine, cuir do ghnùis
air aghaidh Ghog, tìr Mhagog, ard
phrionnsa Mhefeich agus Thubail, a-
gus dean fàisneachd na aghaidh,
3 Agus abair ris, Mar so deir an
Tighearn Dia, Feuch, tha mise a' d'
aghaidh, O Ghog, ard phrionnsa
Mhefeich agus Thubail,
4 Agus pillidh mi air d' ais thu,
agus cuiridh mi dubhain ann ad ghial-
aibh, agus bheir mi mach thu féin, a-
gus d' fheachd uile, eich agus marc-
aich, iad uile air an éideadh leis gach
uile ghnè *armachd;* cuideachd mhòr
le targaidibh agus le sgiathaibh, an
t-iomlan diubh ag iomairt chlaidhean.
5 Persia, Etiopia, agus Libia maille
riu; an t-iomlan diubh le sgéith agus
ceann-bheart:
6 Gomer agus a chuideachdan uile,
tigh Thogarmah o na h-airdibh tuath,
agus 'uile bhuidhnichean; mòran
sluaigh maille riut.
7 Bi thusa deas, agus ulmhaich air
do shon féin, thu féin agus d' uile
chuideachd a ta air an cruinneachadh
chugad, agus bi dhoibh a' d' dhìdein.
8 An déigh mhòran laithean thig-
ear do d' amharc: anns na bliadhn-
aibh deireannach thig thu do 'n fhear-
ann a thugadh air ais o 'n chlaidh-
eamh, a chruinnichcadh a mòran
chinneach, an aghaidh shléibhtean Is-
raeil, a bha fada fàs: ach thugadh a
mach as na cinnich e, agus gabhaidh
iadsan uile còmhnuidh ann an tèar-
uinteachd.
9 Eiridh tu suas, agus thig thu mar
dhoininn, bidh tu cosmhuil ri neul a
dh'

dh fholach an fhearainn, thu féin agus d' uile bhuidhnichean, agus mòran sluaigh maille riut.

10 Mar so deir an Tighearn Dia, Tarlaidh anns an là sin gu 'n dthig nithe ann ad aire, agus gu 'n smaoinich thu droch smaointe.

11 Agus their thu, Théid mi suas gu tìr nam bailtean gun bhallachan, thig mi air a' mhuinntir a ta aig fois, a ta gabhail còmhnuidh ann an tèaruinteachd, iad uile gabhail còmhnuidh gun bhallachan, agus gun chroinn no dorsan aca,

12 A ghlacadh creiche, agus a ghlacadh cobhartaich, a thionndadh do làimhe air na h-ionadan fàs a ta *ais* air an àiteachadh, agus air an t-sluagh a chruinnicheadh a mach as na cinnich, a fhuair seilbh [a] agus maoin, a ta chòmhnuidh ann am meadhon na tìre.

13 Their Seba, agus Dedan, agus ceannuichean Tharsuis, agus a chuid bailtean, riut, Am bheil thu air teachd a ghlacadh cobhartaich? an do chruinnich thu do chuideachd a ghlacadh creiche? a thoirt leat òir agus airgid; a thoirt air falbh spréidhe agus maoin; a ghlacadh creiche mòire?

14 Uime sin, a mhic an duine, dean fàisneachd, agus abair ri Gog, Mar so deir an Tighearn Iehobhah, Anns an là san gabh mo shluagh-sa Israel còmhnuidh gu tèaruinte, nach bi fios agad [b]?

15 Agus thig thu as d' àite, mach as na h-airdibh tuath, thu féin agus mòran sluaigh maille riut, iad uile a' marcachd air eachaibh, buidheann mhòr, agus feachd cumhachdach.

16 Agus thig thu nìos an aghaidh mo shluaigh-sa Israeil, mar neul a dh' fholach an fhearainn, tarlaidh e 'sna laithibh deireannach, agus bheir mise thu 'n aghaidh m' fhearainn, a chum gu 'n aithnich na cinnich mi, tra bhios mi air mo naomhachadh annad-sa, O Ghog, fa chomhair an sùl.

17 Mar so deir an Tighearn Dia, An tusa an ti mu 'n do labhair mi o shean le m' sheirbhisich, fàidhean Israeil, a rinn fàisneachd anns na laithibh sin, rè bhliadhnaichean, gu 'n dthugains' thu nan aghaidh?

18 Agus tarlaidh anns an àm cheudna, 'nuair a thig Gog an aghaidh fearainn Israeil, deir an Tighearn Dia, gu 'n dthig mo chorruich-sa nìos ann am eudann.

19 Oir ann am eud, ann an teine mo chorruiche, labhair mi: gu cinnteach anns an là sin bidh crith mhòr air fearann Israeil:

20 Air chor as gu 'n criothnuich ann am làthair-sa iasga na fairge, agus eunlaith an athair, agus beathaichean na machrach, agus na h-uile nithe snàgach a shnàgas air uachdar na talmhainn agus na h-uile dhaoine a ta air aghaidh na talmhainn; agus tilgear na sléibhtean sios, agus tuitidh na h-ionadan arda, agus tuitidh na h-uile balla gu talamh.

21 Agus gairmidh mise air son claidheimh na aghaidh air feadh m' uile shléibhtean, deir an Tighearn Iehobhah; bidh claidheamh gach aon duine an aghaidh a bhràthar.

22 Agus tagraidh mi na aghaidh le plàigh agus le fuil, agus frasaidh mi air féin, agus air a bhuidhnichean, agus air a' mhòr-shluagh a ta maille ris, frasan tuilteach, agus clacha-meallain mòra, teine agus pronnusc.

23 Mar so ni mi mòr mi féin, agus naomhaichidh mi mi féin, agus aithnichear mi ann an sùilibh mhòran chinneach, agus bidh fios aca gur mi an Tighearn.

CAIB. XXXIX.

UIME sin, dean thusa, a mhic an duine, fàisneachd an aghaidh Ghog, agus abair, Mar so deir an Tighearn Dia, Feuch, tha mise ann ad aghaidh, O Ghog, ard-phrionnsa Meseich agus Thubail.

2 Agus pillidh mi air d' ais thu, agus cha 'n fhàg mi ach an seiseadh [c] cuid dhiot, agus bheir mi ort teachd a nìos o na h-airdibh tuath, agus bheir mi thu gu sléibhtean Israeil:

3 Agus buailidh mi do bhogha as do làimh chli, agus bheir mi air do shaighdean tuiteam as do làimh dheis.

4 Tuitidh

[a] *toic, ni.* [b] *eiridh tusa suas.* [c] *seathadh.*

4 Tuitidh tu air slèibhtibh Israeil,
thu féin agus do bhuidhnichean uile,
agus an sluagh a ta maille riut: bheir
mi thu do 'n eunlaith fhuileachdach
do gach seorsa, agus do bheathaichibh
na talmhainn, a chum bhi air do
shlugadh suas.
5 Tuitidh tu air a' mhachair sgaoil-
te; oir labhair mise, deir an Tigh-
earn Iehobhah.
6 Agus cuiridh mi teine air Magog,
agus am measg na muinntir a ta
chòmhnuidh gu neo-ùmhaileach anns
na h eileanaibh; agus aithnichidh iad
gur mi an Tighearn.
7 Mar so ni mi m' ainm naomh
aithnichte ann am meadhon mo pho-
buill Israeil, agus cha leig mi m' ainm
naomh a thruailleadh ni 's mò; agus
bidh fios aig na cinnich gur mi an
Tighearn, aon naomh Israeil.
8 Feuch thàinig e gu crìch, agus
rinneadh e, deir an Tighearn Ie-
hobhah: is e so an là mu 'n do labh-
air mise.
9 Agus théid iadsan a ta chòmh-
nuidh ann am bailtibh Israeil a mach,
agus cuiridh iad ri theine, agus loisg-
idh iad na h-airm, an targaid, agus
fòs an sgiath, am bogha, agus na saighd-
ean, agus an gath, agus an t-sleagh,
agus loisgidh iad le teine iad seachd
bliadhna:
10 Air chor as nach dthoir iad
connadh air bith as a' mhachair, ni
mò ghearras iad *a' bheag* do na coill-
tibh; oir loisgidh iad na h-airm anns
an teine, agus creachaidh iad an dream
le 'n do chreachadh iad, agus spùinn-
idh iad an dream le 'n do spùinneadh
iad, deir an Tighearn Iehobhah.
11 Agus tarlaidh air an là sin gu 'n
dthoir mise do Ghog an sin àite air
son uaighean ann an Israel, gleann an
luchd-siubhail air taobh an ear na
fairge; agus bacaidh e 'n luchd-siubh-
ail: agus an sin adhlaicidh iad Gog,
agus a shluagh uile; agus goiridh iad
ris, Gleann sluaigh Ghog.
12 Agus bidh tigh Israeil 'gan
adhlacadh, a chum am fearann a
ghlanadh seachd mìosan.
13 Seadh bidh uile shluagh an
fhearainn 'gan adhlacadh, agus bidh
là mo ghlòir-sa iomraiteach nam
measg, deir an Tighearn Iehobhah.
14 Agus cuiridh iad air leth daoine
deanadach, a shiùlas feadh an fhear-
ainn, a dh' adhlacadh leis an luchd-
siubhail na muinntir a ta fathasd air
aghaidh na talmhainn, a chum a
ghlanadh: an ceann sheachd mìosan
bidh iad 'g an iarruidh.
15 Agus an luchd-siubhail a ta 'g
imeachd trìd an fhearainn, tra chi
aon neach cnàimh duine, an sin cuiridh
e comhara suas làimh ris, gus an
adhlaic an luchd-adhlacaidh e ann an
Gleann Hamon-Gog.
16 Agus fòs bidh Hamonah mar
ainm air a' bhaile: mar so glanaidh
iad am fearann.
17 Agus thusa, a mhic an duine,
mar so deir an Tighearn Iehobhah,
Labhair ris gach eun iteagach, agus
ri uile bheathaichibh na machrach,
Cruinnichibh sibh féin, agus thigibh,
cruinnichibh sibh féin o gach taobh,
gu m' ìobairt-sa ta mi deanamh air 'ur
son, *eadhon* àr mòr air slèibhtibh Is-
raeil, a chum gu 'n ith sibh feoil, a-
gus gu 'n òl sibh fuil.
18 Ithidh sibh feoil nan cumhachd-
ach, agus òlaidh sibh fuil phrionnsach-
an na talmhainn, *fuil* reitheachan,
uan, agus ghabhar, agus tharbh; iad
uile air am biathadh ann am Basan.
19 Agus ithidh sibh saill gus am bi
sibh sàthach, agus òlaidh sibh fuil gus
am bi sibh air mhisg, do m' ìobairt-sa
a mharbh mi air 'ur son.
20 Mar so lìonar sibh air mo
bhord-sa le h-eachaibh, agus le car-
badaibh, le daoine cumhachdach, agus
leis na h-uile fhearaibh-cogaidh, deir
an Tighearn Iehobhah.
21 Agus cuiridh mi mo ghlòir am
measg nan cinneach, agus chi na cinn-
ich mo bhreitheanas a rinn mi, agus
mo làmh a leag mi orra.
22 Mar sin aithnichidh tigh Israeil
gur mise an Tighearn an Dia o 'n là
sin, agus uaithe sin a mach.
23 Agus aithnichidh na cinnich
gu 'n deachaidh tigh Israeil gu bruid
air son an aingidheachd; a chionn gu
'n do pheacaich iad a' m' aghaidh-sa;
uime sin dh' fholuich mi mo ghnùis
uatha, agus thug mi iad do làimh an
naimhdean; mar sin thuit iad uile leis
a' chlaidheamh.
24 Do réir an neo-ghloine, agus do
réir

rèir an cionta rinn miſe riu, agus dh'
fholuich mi mo ghnùis uatha.
25 Air an aobhar ſin, mar ſo deir
an Tighearn Iehobhah, A nis bheir
mi air a h-ais bruid Iacoib, agus ni mi
tròcair air uile thigh Iſraeil, agus bidh
mi eudmhor air ſon m' ainme naomha:
26 An déigh dhoibh an nàire a
ghiùlan, agus an uile chionta leis an
do chiontaich iad a' m' aghaidh-ſa,
tra ghabhas iad còmhnuidh gu tèar-
uinte nan dùthaich *féin*, agus nach
cuir aon neach eagal *orra*.
27 An tra bheir miſe air an ais iad
o na cinnich, agus a chruinnicheas mi
iad o dhùchaibh an naimhdean, agus
a naomhaichear mi annta ann an ſeall-
adh mhòran chinneach.
28 An ſin aithnichidh iad gur miſe
Iehobhah an Dia, a thug fainear iad a
bhi air an toirt ann am bruid am
meaſg nan cinneach: ach chruinnich
mi iad chum an dùthcha féin, agus
cha d' fhàg mi aon diubh ni 's mò an
ſin.
29 Ni mò dh' fholaicheas mi tuille
mo ghnùis uatha: oir dhòirt mi mach
mo ſpiorad air tigh Iſraeil, deir an
Tighearn Iehobhah.

C A I B. XL.

ANNS a' chùigeamh bliadhna
fichead d' ar bruid, ann an toiſ-
each na bliadhna, air an deicheamh *là*
do 'n mhìos, (b' i ſin an ceathramh
bliadhna deug an déigh do 'n bhaile
bhi air a bhualadh,) air a' cheart là
ſin bha làmh an Tighearna orm, agus
thug e chum an àite ſin mi.
2 Ann an taiſbeanadh Dhé thug e
mi gu tìr Iſraeil, agus chuir e mi air
ſliabh ro-ard, làimh ris an robh amh-
uil cumadh cathrach thall fa chomh-
air.
3 Agus thug e 'n ſin mi, agus feuch
duine, agus a dhreach mar dhreach
umha, le ſreing lìn na làimh, agus le
ſlait-thomhais; agus ſheas e anns a'
gheata.
4 Agus thuirt an duine rium, A
mhic an duine, faic le d' ſhùilibh, agus
cluinn le d' chluaſaibh, agus ſocruich
do chridhe air na h-uile ni dh' fheuchas
miſe dhuit; oir is ann a chum gu
feuchainn duit iad a thugadh an ſo
thu, foillſich gach ni a chi thu do thigh
Iſraeil.
5 Agus feuch, bha balla air an taobh
a mach an tighe mu 'n cuairt, agus
ann an làimh an duine bha ſlat-thomh-
ais sè làmha-coille air fad, le leud
boiſe ris gach aon làmh-choille: mar
ſin thomhais e leud a' bhalla, aon
ſlat; agus 'airde, aon ſlat.
6 An ſin thàinig e gus a' gheata ta
'g amharc ris an aird' an ear, agus
chaidh e ſuas air a cheumaibh, agus
thomhais e ſtairſneach a' gheata, aon
ſlat air leud, agus an t-ard-dhorus
cuideachd [a], aon ſlat air leud.
7 Agus bha gach ſeòmar beag aon
ſlat air fad, agus aon ſlat air leud, a-
gus eadar na ſeòmraichean beaga bha
cùig làmha-coille, agus bha ſtairſ-
neach a' gheata, aig ſgà-thigh a' gheata
'n taobh a ſtigh, aon ſlat.
8 Thomhais e mar an ceudna ſgà-
thigh a' gheata 'n taobh a ſtigh, aon
ſlat.
9 An ſin thomhais e ſgà-thigh a'
gheata, ochd làmha-coille, agus a
phuiſt, dà làmh-choille, agus bha ſgà-
thigh a' gheata 'n taobh a ſtigh.
10 Agus bha tri do ſheòmraichibh
beaga geata na h-aird' an ear, air an
taobh ſo, agus tri air an taobh ſin, bha
iad nan tri do aon tomhas, agus bha
na puiſt do aon tomhas, air an taobh
ſo agus air an taobh ſin.
11 Agus thomhais e leud dol a
ſteach a' gheata, deich làmha-coille,
agus fad a' gheata tri làmha-coille
deug.
12 B' e an dealuchadh fòs fa chomh-
air nan ſeòmraichean beaga aon làmh-
choille *air an taobh ſo*, agus aon làmh-
choille an dealuchadh air an taobh ſin;
agus bha na ſeòmraichean beaga sè
làmha-coille air an taobh ſo, agus sè
làmha-coille air an taobh ſin.
13 Thomhais e 'n ſin an geata o
mhullach aon ſeòmair bhig gu mull-
ach aon eile: b' e an leud cùig làmha-
coille fichead, dorus fa chomhair
doruis.
14 Thomhais e mar an ceudna
puiſt

[a] *an ſtairſneach eile.*

puist tri fichead làmh-choille, eadhon gu bhi nam puist do 'n gheata, air gach taobh do 'n chùirt.
15 Agus o aghaidh geata 'n dol a steach, gu aghaidh sgà-thighe a' gheata-stigh, bha deich agus dà fhichead làmh-choille.
16 Agus bha uinneagan cumhann ris na seòmraichean beaga, agus ri 'n aghaidh an taobh a stigh do 'n gheata mu 'n cuairt, agus mar an ceudna ris na sgà-thighibh: agus bha uinneagan mu 'n cuairt air an taobh a stigh: agus air gach post bha crainn phailme.
17 An sin thug e mi do 'n chùirt a stigh, agus feuch, seòmraichean agus urlar deanta air son na cùirte timchioll air gach taobh: bha deich seòmraichean fichead anns an urlar.
18 Agus an t-urlar ri taobh nan geatachan, thall fa chomhair leud nan geatachan, b' e sin an t-urlar a b' ìsle.
19 An sin thomhais e 'n leud o aghaidh a' gheata a b' ìsle, gu aghaidh a mach na cùirte a b' fhaide steach, ceud làmh-choille ris an aird' an ear.
20 An sin thug e mi gus an taobh mu thuath, agus thomhais e fad geata na cùirte mach a ta 'g amharc ris an airde tuath, agus a leud.
21 Agus b' iad a sheòmraichean beaga, tri air an taobh so, agus tri air an taobh sin; agus bha a phuist agus a sgà-thighean do réir tomhais a' cheud gheata; b' e deich is dà fhichead làmh-choille 'fhad; agus cùig làmha-coille thar fhichead 'airde.
22 Agus bha an uinneagan, agus an sgà-thighean, agus an crainn-phailme do réir tomhais a' gheata ta 'g amharc ris an airde 'n ear; agus chaidh iad suas chuige le seachd ceumaibh, agus bha a sgà-thighean fa 'n comhair.
23 Agus bha geata na cùirte stigh fa chomhair a' gheata ta 'g amharc ris an airde tuath, mar e sin ris an airde 'n ear, agus thomhais e o gheata gu geata ceud làmh-choille.
24 An déigh sin thug e mi air slighe na h-airde deas, agus feuch, geata ris an airde deas, agus thomhais e a phuist, agus a sgà-thighean, do réir nan tomhas ceudna.
25 Agus bha uinneagan ann, agus na sgà-thighibh mu 'n cuairt air gach taobh, cosmhuil ris na h-uinneagaibh sin; b' e 'fhad deich agus dà fhichead làmh-choille, agus a leud cùig làmha-coille thar fhichead.
26 Agus bha seachd ceuma gu dol suas chuige, agus bha a sgà-thighean fa chomhair; agus bha crainn phailme air, aon air an taobh so, agus aon eile air an taobh sin, air a phostaibh.
27 Agus bha geata sa' chùirt a stigh ri deas, agus thomhais e o gheata gu geata ri deas, ceud làmh-choille.
28 Agus thug e mi do 'n chùirt a stigh trid a' gheata mu dheas, agus thomhais e 'n geata mu dheas do réir nan tomhas ceudna.
29 Agus a sheòmraichean beaga, agus a phuist, agus a sgà-thighean, do réir nan tomhas ceudna, agus bha uinneagan ann, agus 'na sgà-thighibh air gach taobh mu 'n cuairt: b' e deich agus dà fhichead làmh-choille 'fhad, agus cùig làmha-coille thar fhichead a leud.
30 Agus bha na sgà-thighean air gach taobh mu 'n cuairt, cùig làmha-coille thar fhichead air fad, agus cùig làmha-coille air leud.
31 Agus bha a sgà-thighean ris a' chùirt a mach, agus crainn-phailme air a phostaibh: agus bha ochd ceuma na dhol suas.
32 Agus thug e mi gus a' chùirt a stigh leth ris an airde 'n ear, agus thomhais e 'n geata do réir an tomhais so.
33 Agus bha a sheòmraichean beaga, agus a phuist, agus a sgà-thighean do réir nan tomhas so, agus bha uinneagan ann, agus na sgà-thighibh air gach taobh mu 'n cuairt; deich agus dà fhichead làmh-choille 'fhad, agus cùig làmha-coille thar fhichead a leud.
34 Agus bha a sgà-thighean ris a' chùirt a mach, agus crainn-phailme air a phostaibh air an taobh so, agus air an taobh sin; agus bha ochd ceuma na dhol suas.
35 Agus thug e mi gus a' gheata tuath, agus thomhais e do réir nan tomhas so:
36 A sheòmraichean beaga, a phuist, agus a sgà-thighean, agus 'uinneagan air gach taobh mu 'n cuairt: deich agus dà fhichead làmh-choille 'fhad,

agus

agus cùig làmha-coille thar fhichead a leud.

37 Agus bha a phuiſt ris a' chùirt a mach, agus crainn-phailme air a phoſtaibh air an taobh ſo, agus air an taobh ſin, agus na dhol ſuas bha ochd ceuma.

38 Agus bha na ſeòmraichean agus an dol a ſteach làimh ri poſtaibh nan geatacha, far an do nigh iad na tabhartais loiſgte.

39 Agus ann an ſgà-thigh a' gheata bha dà chlàr air an taobh ſo, agus dà chlàr air an taobh ſin, a chum an ìobairt loiſgte, agus an ìobairt pheacaidh, agus an ìobairt eaſaontais a mharbhadh orra.

40 Agus air an taobh a mach, mar théid aon ſuas gu foſgladh a' gheata thuath, bha dà chlàr; agus air an taobh eile, aig ſgà-thigh a' gheata bha dà chlàr.

41 Bha ceithir clàir air an taobh ſo, agus ceithir clàir air an taobh ſin, ri taobh a' gheata; ochd clàir, air an do mharbh iad *an ìobairtean.*

42 Agus bha na ceithir clàir do chloich ſhnaighte air ſon na h-ìobairt-loiſgte, làmh-choille gu leth air fad, agus làmh-choille gu leth air leud, agus aon làmh-choille air airde; air an do leag iad mar an ceudna an acfuinn leis an do mharbh iad an tabhartas loiſgte agus an ìobairt.

43 Agus bha dubhain* iaruinn do leud boiſe 'n taobh a ſtigh, air an daingneachadh mu 'n cuairt air gach taobh; agus air na clàraibh bha feoil na h-ìobairte.

44 Agus thug e mi chum a' gheata ſtigh; agus feuch, an ſin bha dà ſheòmar anns a' chùirt a ſtigh; aon air taobh tuath a' gheata, ag amharc ris an airde deas, agus an t-aon eile air taobh deas a' gheata, ag amharc ris an airde tuath.

45 Agus thuirt e rium, Tha an ſeòmar ſo ta 'g amharc ri deas, air ſon nan ſagart a tha frithealadh air coimhead an tighe.

46 Agus tha an ſeòmar a ta 'g amharc ri tuath air ſon nan ſagart a tha frithealadh air coimhead na h-altarach: is iad ſo mic Shadoic am meaſg mhac Lebhi, a ta teachd dlù do 'n Tighearn chum frithealadh dha.

47 Mar ſin thomhais e a' chùirt, ceud làmh-choille air fad, agus ceud làmh-choille air leud, ceithir chearnach, agus an altair ri aghaidh an teampuill.

48 Agus thug e mi gu ſgà-thigh an teampuill, agus thomhais e gach poſt do 'n ſgà-thigh, cùig làmha-coille air an taobh ſo, agus cùig làmha-coille air an taobh ſin, agus b' e leud a' gheata tri làmha-coille air an taobh ſo, agus tri làmha-coille air an taobh ſin.

49 B' e fad an ſgà-thighe fichead làmh-choille, agus a leud aon làmh-choille deug, agus anns an dol ſuas chuige bha deich ceuma: agus bha pruip aig na poſtaibh, aon air an taobh ſo, agus aon air an taobh ſin.

C A I B. XLI.

'NA dhéigh ſin thug e mi do 'n teampull, agus thomhais e na puiſt, sè làmha-coille air leud, air an aon taobh, agus sè làmha-coille air leud, air an taobh eile, b' e ſo leud gach puiſt.

2 Agus b' e leud an doruis deich làmha-coille, agus bha urſannan an doruis cùig làmha-coille air an aon taobh, agus cùig làmha-coille air an taobh eile: agus thomhais e 'fhad, dà fhichead làmh-choille, agus a leud fichead làmh-choille.

3 An ſin chaidh e gus an taobh a ſtigh, agus thomhais e poſt an doruis dà làmh-choille, agus an dorus féin sè làmha-coille air leud, agus air gach taobh do 'n dorus ſeachd làmha-coille.

4 Mar ſin thomhais e 'fhad fichead làmh-choille, agus an leud fichead làmh-choille, fa chomhair aghaidh an teampuill; agus thuirt e rium, Is e ſo an t-ionad ro naomh.

5 'Na dhéigh ſin thomhais e balla 'n teampuill sè làmha-coille; agus leud gach ſeòmair thaoibh ceithir làmha-coille timchioll an teampuill air gach taobh.

6 Agus bha na ſeòmraichean taoibh aon an déigh aon, tri deug thar fhichead an àireamh, agus bhuineadh iad do 'n bhalla ſin a bha mu 'n cuairt

* cromagan.

air an teampull air cùl nan ſeòmraich-
ean taoibh, bha greim aca dheth, ach
cha robh greim ac' ann am balla 'n
teampuill.
7 Agus bha farſuingeachd agus sìor
dhol mu 'n cuairt an aird chum nan
ſeòmraichean taoibh, oir chaidh cuart-
achadh an tighe do ghnà ſuas mu
thimchioll an tighe: agus mar ſin bha
leud an tighe ſhuas, agus air an dòigh
ſin bha e dol am meud o 'n t-ſeòmar
ìochdrach gus an aon a b' airde aig a'
mheadhon.
8 Chunnaic mi fòs mu 'n cuairt
air an tigh, o ìochdar ſtéidh nan
ſeòmraichean-taoibh gu 'm b' e airde
gach aon diubh ſlat iomlan ſhè làmha-
coille mòra.
9 B' e leud a' bhalla, a bhà eadar
na ſeòmair-thaoibh a mach cùig làmha-
coille; b' e ſin fhad as a bha eadar na
ſeòmraichean taoibh a bha ri taobh
an tighe.
10 Agus eadar na ſeòmraichean *eile*
bha fichead làmh-choille air gach
taobh, mu 'n cuairt do 'n tigh.
11 Agus bha dorſa nan ſeòmraich-
ean taoibh ris an ionad a dh' fhàgadh,
aon dorus ris an airde tuath, agus
dorus eile ris an airde deas, agus b' e
leud an ionaid a dh' fhàgadh cùig
làmha-coille air gach taobh mu 'n
cuairt.
12 A nis bha an aitreabh a bha fa
chomhair an àite air leth, ris an airde
'n iar, deich agus tri fichead làmh-
choille air leud, agus bha balla na
h-aitreabh cùig làmha-coille air tiugh-
ad gach taobh mu 'n cuairt; agus b' e
'fhad deich agus ceithir fichead làmh-
choille.
13 Mar ſin thomhais e an tigh ceud
lamh-choille air fad, agus an t-àit' air
leth, agus an aitreabh le a ballachaibh,
ceud làmh-choille air fad.
14 Mar an ceudna leud aghaidh an
tighe, agus an ionaid air leth ris an
airde 'n ear, ceud làmh-choille.
15 Agus thomhais e fad na h-ait-
reabh fa chomhair an àit' air leth,
agus a bha air a chùlaobh, agus a
ſheòmraichean air an taobh ſo agus air
an taobh eile, ceud làmh-choille, maille
ris an teampull a ſtigh, agus ſgà-thigh-
bh na cùirte.
16 Bha puiſt an doruis agus na h-
uinneagan cughann, agus na ſeòm-
raichean mu 'n cuairt air an tri urlair,
thall fa chomhair an doruis, foluichte
le fiodh timchioll mu 'n cuairt, agus o 'n
làr ſuas gu ruig na h-uinneagan; agus
bha na h-uinneagan air an còmhdach-
adh.
17 Ach os cionn an doruis, agus
anns an teampull a mach, gu e ſin a
b' fhaide ſteach, agus air a' bhalla uile
mu 'n cuairt do 'n teampull a ſtigh
agus a muigh,
18 Bha cherubim air an deanamh,
agus crainn-phailme, air chor as gu 'n
robh crann-pailme eadar cherub agus
cherub, agus aig gach cherub bha dà
aghaidh:
19 Air chor as gu 'n robh aghaidh
duine ris a' chrann-phailme air an aon
taobh, agus aghaidh leòmhainn òig ris
a' chrann-phailme air an taobh eile:
bha ſo deanta feadh an tighe uile mu
'n cuairt.
20 O 'n làr gus os cionn an doruis
bha cherubim air an deanamh, agus
crainn-phailme, agus air balla an
teampuill.
21 Bha puiſt an teampuill ceithir-
chearnach, agus aghaidh an ionaid
naomha air a' chumachd cheudna.
22 Bha an altair do fhiodh tri
làmha-coille air airde, agus dà làmh-
choille air fad; air a deanamh cearnach
le oiſnibh agus clàraibh fiodha: agus
thuirt e rium, So am bord a ta fa
chomhair an Tighearna.
23 Agus bha dà dhorus aig an
teampuill, agus aig an ionad naomh.
24 Agus bha dà dhuilleig aig gach
dorus, dà dhuilleig a' tionndadh; dà
dhuilleig air ſon an aon doruis, agus dà
dhuilleig air ſon an doruis eile.
25 Agus bha cherubim agus crainn-
phailme deanta orra, air dorſaibh an
teampuill, mar a bha deanta air na
ballachan, agus bha déileachan tiugha
air aghaidh an ſgà-thighe a mach.
26 Agus bha uinneagan cughann
agus crainn-phailme air an aon taobh
agus air an taobh eile, air taobhan an
ſgà-thighe, agus air ſeòmraichean-
taoibh an tighe, agus air na déileach-
an tiugha.

CAIB. XLII.

AN ſin thug e mach mi gus a'
chùirt a mach, air ſlighe na

h-airde tuath, agus thug e mi do 'n t-ſeòmar a bha os cionn an ionaid air leth, agus a bha fa chomhair na h-aitreabh ris an airde tuath.

2 Fa chomhair fad cheud làmh-choille bha an dorus tuath; agus b' e an leud leth-cheud làmh-choille.

3 Fa chomhair dhorſan na cùirt a ſteach, agus fa chomhair an urlair a bha air ſon na cùirt a mach, bha ſeòmar air aghaidh ſeòmair air tri *urlair.*

4 Agus fa chomhair nan ſeòmraichean bha àite ſpaiſdearachd deich làmha-coille air leud a ſtigh, agus ceud làmh-choille air fad; agus bha na dorſa-ri tuath.

5 Agus bha na ſeòmraichean uachdrach cughann: oir aca ſo chrìochnuich na ſeòmraiche beaga, a dh' éirich gus a' cheud agus an dara urlar do 'n aitreabh.

6 Oir bha iad nan tri urlair, ach cha robh pruip aca mar phruip nan cùirtean: uime ſin bha *an tigh* ni bu chuinge na chuid a b' ìochdraiche agus bu mheadhonaiche o 'n làr.

7 Agus bha am balla bha mach fa chomhair nan ſeòmraichean leth ris a' chùirt a b' fhaide mach air beulaobh nan ſeòmraichean leth-cheud làmh-choille air fad.

8 Oir b' e fad nan ſeòmraichean a bha ſa' chùirt, a mach leth-cheud làmh-choille: agus feuch, fa chomhair an teampuill bha ceud làmh-choille.

9 Agus fo na ſeòmraichean ſo bha 'n dol a ſteach air an taobh an ear, mar théid aon a ſteach annta o 'n chùirt a muigh.

10 Bha na ſeòmraichean ann an tiughad balla na cùirte ris an airde 'n ear, thall fa chomhair an ionaid air leth, agus thall fa chomhair an tighe.

11 Agus bha an t-àite ſpaiſdearachd aig an aghaidh coſmhuil ris ſin a bha aig ſeòmraichean na h-airde tuath; ionann ann am fad, agus ionann ann an leud; agus bha an uile dhol a mach araon air an aon dreach, agus fòs an dorſan.

12 Agus do réir dorſa nan ſeòmraichean a bha ris an airde deas, bha dorus ann an ceann na ſlighe, na ſlighe dìreach fa chomhair a' bhalla, ris an aird' an ear, mar a théid aon a ſteach orra.

13 An ſin thuirt e rium, Na ſeòmraichean mu thuath, agus na ſeòmraichean mu dheas, a ta fa chomhair an ionaid air leth, is ſeòmraichean naomh iad, far an ith na ſagairt a thig dlù do 'n Tighearn na nithe 's ro-naomha: an ſin cuiridh iad na nithe 's ro-naomha, agus an tabhartasbidh, agus an tabhartas-peacaidh, agus an tabhartas-eaſaontais; oir tha an t-ionad naomh.

14 'Nuair a théid na ſagairt a ſteach ann, an ſin cha dthéid iad a mach as an ionad naomh gus a' chùirt a mach, ach an ſin cuiridh iad an eudaichean, far am bheil iad a fritheaIadh; oir tha iad naomh: agus cuiridh iad orra eudaichean eile, agus thig iad dlù do na nithe ſin a ta air ſon a' phobuill.

15 A nis 'nuair a chuir e crìoch air tomhas an tighe ſtigh, thug e mach mi chum a' gheata, ta 'g amharc ris an airde 'n ear, agus thomhais e mu 'n cuairt e.

16 Thomhais e 'n taobh an ear leis an t-ſlait-thomhais, cùig *agus* ceud ſlat, leis an t-ſlait-thomhais timchioll mu 'n cuairt.

17 Thomhais e 'n taobh mu thuath, cùig *agus* ceud ſlat leis an t-ſlait thomhais timchioll mu 'n cuairt.

18 Thomhais e 'n taobh deas, cùig *agus* ceud ſlat, leis an t-ſlait-thomhais.

19 Thionndaidh e mu 'n cuairt gus an taobh an iar, agus thomhais e cùig *agus* ceud ſlat leis an t-ſlait-thomhais.

20 Thomhais e air na ceithir taobhan e: bha balla aige mu 'n cuairt, cùig *agus* ceud *ſlat* air fad, agus cùig *agus* ceud air leud, a dheanamh dealachaidh eadar an t-ionad naomh agus an t-àite mi-naomh.

C A I B. XLIII.

NA dhéigh ſin thug e mi chum a' gheata, an geata ta 'g amharc ris an airde 'n ear.

2 Agus feuch, thàinig glòir Dhé Iſraeil o ſhlighe na h-airde 'n ear: agus bha a ghuth mar thoirm mhòran uiſgeachan, agus dhealruich an talamh le 'ghlòir.

3 Agus bha an ſealladh ſo a chunnaic

naic mi cosmhuil ris an t-fealladh sin a chunnaic mi, tra thàinig mi chum am baile a sgrios: agus bha a choslas mar an coslas a chunnaic mi aig sruth Chebair: agus thuit mi air m' aghaidh.

4 Agus thàinig glòir an Tighearna chum an teampuill, air slighe a' gheata ta 'g amharc ris an airde 'n ear.

5 An sin thog an spiorad suas mi, agus thug e mi gus a' chùirt a stigh, agus feuch, lìon glòir an Tighearna an teampull.

6 Agus chuala mi e labhairt rium a mach as an teampull, agus sheas an duine làimh rium.

7 Agus thuirt e rium, A mhic an duine, tha thu faicinn àite mo righchaithreach, agus ionad bhonn mo chos, far an gabh mi còmhnuidh ann am meadhon cloinne Israeil gu sìorruidh, agus m' ainm naomh-sa cha truaill tigh Israeil ni 's mò, iad féin no 'n righrean, le 'n striopachas, no le conablachaibh an righrean nan ionadaibh arda.

8 Le suidheachadh an stairsneich, aig mo stairsneich sa, agus am puist aig mo phostaibh-sa, agus am balla eadar mis' agus iadsan, rinn iad eadhon m' ainm naomh a thruailleadh le 'n gràinealachdaibh a chuir iad an gnìomh: uime sin chaith mis iad ann am chorruich.

9 A nis cuireadh iad air falbh an striopachas, agus cairbhinnean an righrean fada uam, agus gabhaidh mi còmhnuidh nam meadhon gu sìorruidh.

10 A mhic an duine, feuch an teampull so do thigh Israeil, a chum gu 'n gabh iad nàire do 'n eaceartaibh; agus tomhaiseadh iad an sàmhla.

11 Agus ma bhios nàir orra do gach ni a rinn iad, feuch dhoibh dreach an tighe, agus a chumachd, agus a dhol a mach, agus a theachd a stigh, agus 'uile choslas, agus 'uile orduighean, agus 'uile dheilbh, agus 'uile reachdan: agus sgrìobh e nan sealladh, a chum gu 'n coimhid iad 'uile dhreach, agus 'uile orduighean, agus gu 'n dean siad iad.

12 Is e so reachd an tighe; Air mullach an t-sléibhe bidh a chrìoch uile mu 'n cuairt ro-naomh: feuch is e so reachd an tighe.

13 Agus is iad so toimhsean na h-altarach ann an làmha-coille, le leud boise ris gach aon làmh-choille; bidh eadhon làmh-choille na bonn, agus làmh-choille na leud, agus réis na h-iomall air an oir mu 'n cuairt, agus bidh so na chuartachadh do 'n altair.

14 Agus o 'n bhonn air an làr gu ruig an suidheachadh ìochdrach bidh dà làmh-choille, agus aon làmh-choille an leud; agus o 'n t-suidheachadh a's lugha gus an suidheachadh a's mò bidh ceithir làmha-coille, agus an leud aon làmh-choille.

15 Mar sin bidh an altair ceithir làmha-coille, agus o 'n altair an aird bidh ceithir adharca.

16 Agus bidh an altair dà *bhann-làmh* dheug air fad, a dhà-dheug air leud, ceithir-chearnach, na ceithir chearnaibh.

17 Agus bidh am bonn ceithir *làmha-coille* deug air fad, agus ceithir-deug air leud, na cheithir chearnaibh, agus bidh an oir mu 'n cuairt oirre leth làmh-choille, agus bidh a bonn làmh-choille mu 'n cuairt, agus amhaircidh a ceuma ris an airde 'n ear.

18 Agus thuirt e rium, A mhic an duine, mar so deir an Tighearn Dia, Is iad so orduighean na h-altarach anns an là san dean iad i, chum tabhartasa-loisgte ìobradh oirre, agus a chum fuil a chrathadh oirre.

19 Agus bheir thu do na sagartaibh na Lebhithich a ta do shliochd Shadoic, a thig dlù dhomhsa, chum frithealadh dhomh, deir an Tighearn Dia, tarbh òg mar thabhartas-peacaidh.

20 Agus gabhaidh tu d' a fhuil, agus cuiridh tu i air a ceithir adharcaibh, agus air ceithir chearnaibh a buinn, agus air an oir mu 'n cuairt: mar so glanaidh agus nighidh tu i.

21 Gabhaidh tu fòs tarbh na h-ìobairt-pheacaidh, agus loisgidh esan e ann an ionad orduichte 'n tighe, an taobh a mach do 'n naomh-ionad.

22 Agus air an dara là ìobraidh tu meann do na gabhraibh gun ghaoid, air son tabhartais-pheacaidh, agus glanaidh

glanaidh iad an altair, mar a ghlan iad *i* leis an tarbh.

23 'Nuair a ſguireas tu d' a glanadh, ìobraidh tu tarbh òg gun ghaoid, agus reithe as an treud gun ghaoid.

24 Agus ìobraidh tu iad ann an làthair an Tighearna; agus tilgidh na ſagairt ſalann orra, agus ìobraidh iad ſuas iad mar ìobairt loiſgte do 'n Tighearn.

25 Seachd laithean deaſaichidh tu, gach aon là, gabhair air ſon ìobairt-pheacaidh: deaſaichidh iad fòs tarbh òg agus reithe as an treud gun ghaoid.

26 Seachd laithean glanaidh iad an altair, agus nighidh iad i, agus naomhaichidh ſiad iad féin.

27 Agus an uair a bhios na laithean ſo air an crìochnàchadh, tarlaidh air an ochdamh là, agus mar ſin sìos, gu 'n dean na ſagairt 'ur n-ìobairtean-loiſgt air an altair, agus 'ur n ìobairtean-sìth, agus gabhaidh miſe riu, deir an Tighearn Iehobhah.

C A I B. XLIV.

AN ſin thug e mi air m' ais air ſlighe geataidh an ionaid naomha a muigh, a ta 'g amharc ris an aird an ear, agus bha e druidte.

2 An ſin thuirt an Tighearn rium, Bidh an geata ſo druidte, cha 'n fhoſglar e, agus cha dthéid neach air bith a ſtigh air, a chionn gu 'n deachaidh an Tighearn Dia Iſraeil a ſteach air.

3 Uime ſin bidh e druidte air a' phrionnſa; am prionnſa féin ſuidhidh ann a dh' itheadh arain an làthair an Tighearna; théid e ſteach air ſlighe cùirt a' gheataidh, agus thig e mach air an t-ſlighe cheudna.

4 An ſin thug e mi air ſlighe a' gheataidh thuath, fa chomhair an teampuill, agus dh' amhairc mi, agus feuch, lìon glòir an Tighearna teampull an Tighearna; agus thuit miſe air m' aghaidh.

5 Agus thuirt an Tighearn rium, A mhic an duine, thoir geur-aire, agus feuch le d' ſhùilibh, agus cluinn le d' chluaſaibh, gach ni their miſe riut mu thimchioll uile orduighean tighe an Tighearna, agus 'uile reachdan, agus thoir aire mhaith do dhol a ſteach an tighe, le uile dhol a mach an ionaid naomha.

6 Agus their thu ris an tigh cheannairceach, ri tigh Iſraeil, Mar ſo deir an Tighearn Dia, O thigh Iſraeil, gu ma leòr leibh do 'r n-uile ghràinealachdaibh,

7 Gu 'n d' thug ſibh coigrich neo-thimchioll-ghearrta nan cridhe, agus neo-thimchioll-ghearrta nam feoil, gu bhi ann am naomh-ionad-ſa, a thruailleadh mo thighe, am feadh a ta ſibh a' tiolacadh dhomhſa an arain, na ſaill, agus na fala; agus bhris ſibh mo choimhcheangal le 'r n-uile ghràinealachdaibh.

8 Agus cha do ghléidh ſibh cùram mo nithe naomha; ach chuir ſibh luchd-coimhid mo chùraim ann am ionad naomh air 'ur ſon féin.

9 Mar ſo deir an Tighearn Dia, Cha dthéid aon choigreach neo-thimchioll-ghearrta na chridhe, no neo-thimchioll-ghearrta na fheoil, a ſteach do m' ionad naomh-ſa, do choigreach air bith a ta measg cloinne Iſraeil.

10 Agus na Lebhithich, a dh' imich am fad uamſa, 'nuair a chaidh Iſrael air ſeachran, a dh' fhalbh air ſeachran uamſa an déigh an ìodhola, giùlainidh eadhon iadſan an aingidheachd.

11 Gidheadh bidh iad nan luchd-frithealaidh ann am ionad naomh, air am bi cùram gheatachan an teampuill, agus a bhios a' frithealadh do 'n teampull: marbhaidh iad an tabhartas loiſgte agus an ìobairt air ſon an t-ſluaigh, agus ſeaſaidh iad nan làthair gu frithealadh dhoibh.

12 A chionn gu 'n d' rinn iad frithealadh dhoibh ann an làthair an ìodhola, agus gu 'n d' thug iad air tigh Iſraeil tuiteam gu aingidheachd; uime ſin thog miſe ſuas mo làmh nan aghaidh, deir an Tighearn Iehobhah, agus giùlainidh iad an aingidheachd.

13 Agus cha dthig iad am fagus domhſa, a dheanamh dleaſnais ſagairt domh, no theachd dlù do bheag air bith do m' nithibh naomh, ſan ionad a's ro-naomha: ach giùlainidh iad an nàire, agus an gràinealachdan a chuir iad an gnìomh.

14 Ach ni mi iad nan luchd-coimhid cùraim an tighe, air ſon 'uile ſheirbhis, agus air ſon gach uile ni bhios ri dheanamh ann.

15 Ach na sagairt na Lebhithich,
mic Shadoic, a choimhid cùram m'
ionaid naomha, 'nuair a chaidh clann
Israeil air seachran uam, thig iadsan
dlù dhomh, chum frithealadh dhomh,
agus seasaidh iad ann am fhianuis á
dh' iobradh dhomh na saill agus na
fala, deir an Tighearn Iehobhah.
16 Théid iad a steach do m' ionad
naomh, agus thig iad dlù do m'
bhord, a chum frithealadh dhomh, agus
coimhdidh iad mo chùram.
17 Agus tarlaidh, nuair a théid iad
a steach air geatacha na cùirt a stigh,
gu 'm bi iad air an éideadh le eudach
lìn, agus cha dthig olainn air bith orra,
am feadh a ta iad a' frithealadh
ann an geatachaibh na cùirt a steach,
agus an taobh a stigh.
18 Bidh curaichdean lìn air an
ceannaibh, agus bidh triughais lìn air
an leasraibh: cha chrioslaich siad iad
féin le aon ni a thogas fallus.
19 Agus 'nuair a théid iad á mach
do 'n chùirt a muigh, a chum an t-
sluaigh, cuiridh iad dhiubh an eudaichean
anns an d' rinn iad frithealadh,
agus cuiridh iad anns na seòmraichibh
naomh iad, agus cuiridh iad orra eudaichean
eile, agus cha naomhaich iad
am pobull nan eudaichibh.
20 Ni mò a lomas iad an cinn, no
dh' fhuilingeas iad do 'n ciabhan fàs
fada, cha dean iad ach a mhàin an
cinn a bhearradh.
21 Ni mò dh' òlas sagart air bith
fion, tra théid iad a steach do 'n chùirt
a stigh.
22 Ni mò ghabhas iad dhoibh féin
mar mhnaoi banntrach, no bean a
chuireadh air falbh: ach gabhaidh iad
maighdeanan do shliochd tighe Israeil,
no banntrach aig an robh sagart
roimhe.
23 Agus teagaisgidh iad do m'
shluagh-sa an dealachadh eadar naomh
agus mi-naomh, agus bheir iad orra
dealachadh a chur eadar an glan agus
an neo-ghlan.
24 Agus ann an coi-stri seasaidh iad
ann am breitheanas, bheir iad breith
air do réir mo reachdan-sa; agus
coimhididh iad mo lagh agus mo
reachdan, ann am uile choimhthionalaibh,
agus naomhaichidh iad mo
shàbaidean.

25 Agus cha dthig iad dlù do
dhuine marbh gus iad féin a thruailleadh:
ach air son màthar, no air son
mic, no air son nighinn, air son bràthar,
no air son peathar aig nach robh
fear, feudaidh iad iad féin a thruailleadh.
26 Agus an déigh dha bhi air a
ghlanadh, àireamhaidh iad dha seachd
laithean.
27 Agus air an là san dthéid e
steach do 'n ionad naomh, do 'n chùirt
a stigh gu frithealadh anns an ionad
naomh, bheir e seachad tabhartas peacaidh,
deir an Tighearn Dia.
28 Agus cha bhi oighreachd air
bith aca; is mise an oighreachd-san:
agus cha dthoir sibh dhoibh sealbh air
bith ann an Israel; is mise an sealbh.
29 Ithidh iad an tabhartas-bìdh,
agus an tabhartas-peacaidh, agus an
tabhartas-easaontais; agus aca-san bidh
gach uile ni coisrigte ann an Israel.
30 Agus bidh toiseach ceud thoraidh
nan uile nithe, agus gach uile
thabhartas do gach seòrsa do 'r tabhartais
aig na sagairt: bheir sibh mar
an ceudna do 'n t-sagart toiseach 'ur
taoise, chum gu 'n dthoir e air a
bheannachadh còmhnuidh a ghabhail
ann ad thigh.
31 Cha 'n ith an sagart do ni air
bith a dh' eugas leis féin, no bhios
reubta, ma 's eun no ainmhidh e.

CAIB. XLV.

MAR an ceudna 'nuair a roinneas
sibh le crannchur am fearann mar
oighreachd, bheir sibh tabhartas do 'n
Tighearn, earrann naomh do 'n fhearann:
is e 'fhad cùig mìle fichead
làmh chuille, agus a leud deich mìle:
bidh so naomh na uile chriochaibh
mu 'n cuairt.
2 Dheth so bidh air son an ionaid
naomha cùig ceud *air fad*, le cùig
ceud *air leud*, ceithir chearnach mu 'n
cuairt; agus leth-cheud làmh-choille
mu 'n cuairt, air son a dhlù-bhailtean.
3 An déigh an tomhais so toimhsidh
tu ann am fad cùig mìle fichead,
agus ann an leud deich mìle, agus an
sin bidh an t-ionad naomh, an t-àite
ro-naomh.
4 Bidh a' chuid so do 'n fhearann
naomh do na sagairt, luchd-frithealaidh

aidh an ionaid naomha, a thig dlù chum frithealadh do 'n Tighearn, agus bidh e na ionad air son an tighean, agus 'na àite naomh air son an naomh-ionaid.

5 Agus fòs cùig mìle fichead air fad, agus deich mìle air leud bidh aig na Lebhithich, luchd-frithealaidh an tighe, air an son féin, mar fheilbh air son fichead seòmar.

6 Agus orduichidh sibh mar fheilbh na cathrach cùig mìle *làmh-choille* air leud, agus cùig mìle fichead air fad, thall fa chomhair àite an ionaid naomha: bidh e aig uile thigh Israeil.

7 Agus bidh aig an uachdaran air an aon taobh, agus air an taobh eile do chuibhrionn an ionaid naomha, agus do fheilbh na cathrach, fa chomhair cuibhrinn an ionaid naomha, agus fa chomhair feilbh na cathrach, o 'n taobh an iar, ris an iar; agus o 'n taobh an ear, ris an ear; agus bidh am fad thall fa chomhair aon do na h-earrannaibh, o 'n iomall fhiar gus an iomall fhoir.

8 Anns an fhearann bidh a fhealbh ann an Israel, agus cha fàruich m' uachdarain-sa ni 's mò mo fhluagh; agus am fearann bheir iad do thigh Israeil do réir am fineachan.

9 Mar so deir an Tighearn Dia, Gu ma leòr leibh, O uachdarana Israeil: cuiribh uaibh ainneart agus creach, agus deanaibh breitheanas agus ceartas, togaibh leibh 'ur n-aintighearnas o m' fhluagh-sa, deir an Tighearn Iehobhah.

10 Bidh aghaibh meighean cothromach, agus ephah chothromach, agus bat cothromach.

11 Bidh an ephah agus am bat do aon tomhas, air chor as gu 'n cum am bat an deicheamh cuid do homer, agus an ephah an deicheamh cuid do homer: bidh a thomhas do réir an homer:

12 Agus bidh ann an fecel fichead gerah: fichead fecel, cùig feceil thar fhichead, cùig feceil deug, bidh sin na mhaneh agaibh.

13 So an tabhartas a bheir sibh uaibh; an sèathamh cuid do ephah a homer cruineachd, agus bheir sibh an sèathamh cuid do ephah a homer eorna.

14 Do thaobh reachd na h-oladh am bat oladh, bheir sibh uaibh an deicheamh cuid do bhat as a chòr, is e sin homer dheich bhat; oir is deich bait a tà ann an homer:

15 Agus aon uan as an treud, a dà cheud, a h-ionaltradh reamhar Israeil, air son tabhartais-bhìdh, agus air son ìobairt-loisgte, agus air son thabhartas-sìth, chum réite dheanamh air an son, deir an Tighearn Dia.

16 Bheir uile fhluagh an fhearainn an tabhartas so air son an uachdarain ann an Israel.

17 Agus buinidh e do 'n phrionnsa tabhartasa-loisgte, agus tabhartasa-bìdh, agus tabhartasa-dìbhe thoirt uaithe air na laithibh féill, agus air na gealaichibh nuadh, agus air na fàbaidibh, agus air uile ard fhéillibh tighe Israeil: deasaichidh e 'n tabhartas peacaidh, agus an tabhartas-bìdh, agus an tabhartas-loisgte, agus na tabhartasa-sìth, a dheanamh réite air son tighe Israeil.

18 Mar so deir an Tighearn Dia, Anns a' cheud *mhìos*, air a' cheud *là* do 'n mhìos gabhaidh tu tarbh òg gun ghaoid, agus glanaidh tu an naomh-ionad.

19 Agus gabhaidh an fagart do fhuil na h-ìobairt pheacaidh, agus cuiridh e i air postaibh an tighe, agus air ceithir chearnaibh buinn na h-altarach, agus air postaibh geata na cùirt a stigh.

20 Agus mar sin ni thu air an t-seachdamh *là* do 'n mhìos, air son gach aon a théid air seachran, agus a ni gu h-amaideach; mar sin ni sibh réite air son an teampuill.

21 Anns a' cheud *mhìos*, air a' cheathramh là deug do 'n mhìos, bidh a' chàisg agaibh, féisd fheachd laithean, ithear aran gun ghoirteachadh.

22 Agus air an là sin deasaichidh am prionnsa air a fhon féin, agus air son uile fhluaigh an fhearainn, tarbh air son ìobairt pheacaidh.

23 Agus air seachd laithean na féisde deasaichidh e ìobairt-loisgte do 'n Tighearn, seachd tairbh, agus seachd reitheachan gun ghaoid, gach là, fad nan seachd laithean, agus meann do na gabhraibh gach là air son ìobairt-pheacaidh.

24 Agus deasaichidh e tabhartas bìdh, eadhon ephah air son tairbh, agus ephah air son reithe, agus hin oladh air son ephah.

25 Anns an t-seachdamh *mìos*, air a' chùigeamh là deug do 'n mhìos, ni e do réir sin air féill nan seachd laithean, do réir an tabhartais-pheacaidh, do réir na h-ofrail loisgte, agus do réir an tabhartais bhìdh, agus do réir na h-oladh.

CAIB. XLVI.

MAR so deir an Tighearn Dia, Bidh geata na cùirt a stigh, a ta 'g amharc ris an aird' an ear, druidte na sè laithean oibre: ach air an t-sàbaid bidh e fosgailte, agus air là na ré nuaidh [a] bidh e fosgailte.

2 Agus théid an t-uachdaran a steach air slighe sgà-thigh' a' gheataidh an taobh a mach, agus seasaidh e aig ursann a' gheataidh, agus deasaichidh an sagart a thabhartas-loisgte, agus a thabhartas-shìth, agus ni e aoradh aig stairsneich a' gheataidh: an sin théid e mach, ach cha druidear an geata gu an-moch.

3 Mar an ceudna ni sluagh an fhearainn aoradh aig dorus a' gheataidh so an làthair an Tighearna, air na sàbaidean, agus air na gealaichibh nuadha.

4 Agus is i an ìobairt-loisgte a bheir an t-uachdaran do 'n Tighearn air là na sàbaide, sè uain gun ghaoid, agus reithe gun ghaoid.

5 Agus is e an tabhartas-bìdh ephah air son reithe, agus an tabhartas-bìdh air son nan uan mar a bhios na chomas a thoirt uaithe, agus hin oladh air son ephah.

6 Agus air là na ré nuaidh bheir e tarbh òg gun ghaoid, agus sè uain, agus reithe: bithidh iad gun ghaoid.

7 Agus deasaichidh e tabhartas-bìdh, ephah air son tairbh, agus ephah air son reithe: agus air son nan uan do réir mar a bhios na chomas, agus hin oladh air son ephah.

8 Agus 'nuair a théid an t-uachdaran a steach, théid e stigh air slighe sgà-thighe a' gheataidh, agus théid e mach air a shlighe sin.

9 Ach 'nuair a thig muinntir an fhearainn an làthair an Tighearna, anns na h-ard fhéillibh, esan a théid a steach air slighe a' gheataidh thuath gu aoradh, théid a mach air slighe a gheataidh dheas; agus esan a théid a steach air slighe a' gheataidh dheas, théid a mach air slighe a' gheataidh thuath: cha phill e air slighe a gheataidh air an deachaidh e steach, ach théid e mach thall fa chomhair.

10 Agus théid an t-uachdaran a steach nam meadhon, tra théid iad a steach; agus tra théid iad a mach, théid e mach.

11 Agus air na féillibh, agus air na h-ard-fhéillibh, is e an tabhartas-bìdh ephah air son tairbh, agus ephah air son reithe, agus air son nan uan do réir a chomais, agus hin oladh air son ephah.

12 A nis tra dheasaicheas an t-uachdaran o 'thoil féin ìobairt-loisgte, no tabhartais-shìth, gu toileach do 'n Tighearn, fosglar dha an sin an geata ta 'g amharc ris an aird an ear, agus ulmhaichidh e ìobairt-loisgte, agus a thabhartasa-sìth mar a rinn e air là na sàbaide: an sin théid e mach, agus an déigh dol a mach, druidear an dorus.

13 Ulmhaichidh tu gach là tabhartas-loisgte do 'n Tighearn, uan do 'n cheud bhliadhna gun ghaoid; ulmhaichidh tu e gach aon mhaduinn.

14 Agus ulmhaichidh tu tabhartas-bìdh air a shon gach aon mhaduinn, an sèathamh cuid do ephah, agus an treas cuid do hin oladh, chum a mheasgadh leis a' mhìn-chruineachd; tabhartas-bìdh do ghnàth, le ordugh sìorruidh do 'n Tighearn.

15 Mar so ulmhaichidh iad an t-uan, agus an tabhartas-bìdh, agus an ola gach aon mhaduinn mar ìobairt-loisgte ghnàthuichte.

16 Mar so deir an Tighearn Dia, Ma bheir an t-uachdaran tiolaca do aon air bith d' a mhacaibh, bidh a shealbh sin aig a mhacaibh, bidh a shealbh aca mar oighreachd.

17 Ach ma bheir e tiolaca d' a oighreachd do aon d' a sheirbhisich, an sin bidh e aige-san gu bliadhna na saorsa: na dhéigh sin pillidh chum an

[a] *na gealaich ùir.*

an uachdarain; ach bidh 'oighreachd
aig a mhacaibh dhoibh féin.
18 A thuille air so cha ghabh an
t-uachdaran do oighreachd an t-sluaigh
le h-ainneart, a chum an tilgeadh a
mach as an seilbh: ach bheir e d' a
mhacaibh oighreachd as a sheilbh féin:
a chum nach bi mo shluagh-sa air an
sgapadh gach aon o 'sheilbh.
19 Na dhéigh sin thug e mi trìd
an fhosglaidh a bha aig taobh a' gheat-
aidh gu seòmraichean naomh nan sa-
gart, a bha 'g amharc ri tuath; agus
feuch, bha àit' an sin aig oisinn na h-
aird an iar.
20 An sin thuirt e rium, So an t-
àite sam bruich na sagairt an ìobairt-
easaontais, agus an ìobairt-pheacaidh,
far am fuin iad an tabhartas-bìdh: a
chum nach dthoir iad a mach iad gus
a' chùirt a mach, gus an sluagh a
naomhachadh.
21 An sin thug e mach mi gus a'
chùirt a mach, agus thug e orm gabh-
ail seachad air ceithir oisinnibh na
cùirte, agus feuch, *bha* cùirt anns gach
aon oisinn do 'n chùirt.
22 Ann an ceithir oisinnibh na
cùirte bha cùirtean ceangailte rithe,
dà fhichead *làmh-choille* air fad, agus
deich thar fhichead air leud: bha na
ceithir oisinnean so do aon tomhas.
23 Agus bha aca balla mu 'n
cuairt doibh nan ceithir, agus ionada
bruich deanta fo 'n bhalla, mu 'n
cuairt.
24 An sin thuirt e rium, Is iad so
àiteachan na muinntir a bhruicheas,
far am bruich luchd-frithealaidh an
teampuill ìobairtean an t-sluaigh.

C A I B. XLVII.

NA dhéigh sin thug e mi rìs gu
dorus an teampuill, agus feuch,
bhrùchd uisgeachan a mach o ìochdar
stairsneich an tighe ris an aird an ear:
oir bha aghaidh an tighe ris an aird
an ear, agus thàinig na h-uisgeachan
a nuas fuidhe, o thaobh deas an tighe,
air taobh mu dheas na h-altarach.
2 An sin thug e mach mi air slighe
a' gheataidh mu thuath, agus thug e
orm siubhal mu 'n cuairt air an t-slighe
muigh gus an geata mach, air an t-
slighe ta 'g amharc ris an aird an ear,
agus, feuch, ruith uisgeachan a mach
air an taobh deas.
3 Agus 'nuair a chaidh an duine
aig an robh an t-sreang na làimh, a
mach air slighe na h-aird an ear,
thomhais e mìle làmh-choille, agus
thug e mi roimh [a] na h-uisgeacha:
bha na h-uisgeachan gu ruig na h-
aobrana.
4 A rìs thomhais e mìle, agus thug
e mi roimh na h-uisgeacha; bha na
h-uisgeachan gu ruig na glùinean: a
rìs thomhais e mìle, agus thug e mi
roimh na h-uisgeacha; bha na h-uis-
geachan gu ruig na leasraidh.
5 'Na dhéigh sin thomhais e mìle;
agus bha e na shruth nach b' urra mi
dol thairis: oir bha na h-uisgeachan
air éirigh, uisgeachan air son snàmh
annta, abhainn nach feudta dol
thairte.
6 Agus thuirt e rium, Nach faca
tu, a mhic an duine? an sin thug e
leis mi, agus thug e orm pilleadh gu
bruaich na h-aibhne [b].
7 A nis tra phill mi, feuch, air
bruaich na h-aibhne bha ro-mhòran
chraobh, air an taobh so, agus air an
taobh eile.
8 An sin thuirt e rium, Tha na
h-uisgeachan so ag imeachd a mach
rathad na tìre soir, agus a dol sìos do
'n fhàsach, agus a' dol a steach do 'n
fhairge; tra bheirear iad a mach a
chum na fairge, leighisear na h-uisg-
eachan.
9 Agus tarlaidh, gach aon bheath-
ach beo, a ta gluasad, taobh air bith
gus an dthig na h-aibhnichean, mair-
idh e beo: agus bidh ro-mhòran éisg
ann, a chionn gu 'n dthig na h-uisg-
eachan so chuige: oir leighisear iad,
agus mairidh gach ni beo far an dthig
an abhann.
10 Agus tarlaidh gu 'n seas na h-
iasgairean oirre, o Engedi gu ruig En-
eglaim; bidh iad nan ionad a sgaoil-
eadh a mach lìon, bidh an iasg do
réir an seòrsa, mar iasg na fairge
mòire, ro-lionmhor.
11 Ach a làthach, agus 'àiteachan
fliucha

[a] *tre.* [b] *albna.*

fiucha cha bhi air an leigheas, bheir-
ear iad thairis gu ſalann.
12 Agus air taobh na h-aibhne, air
a bruaich, air an taobh ſo, agus air
an taobh ſin, fàſaidh na h-uile chraobh-
an air ſon bìdh, aig nach bi an duill-
each air ſeargadh, no an toradh air a
chaitheamh: bheir e mach toradh
nuadh do réir a mhìoſan, do bhrìgh
gu 'n do ſhruth 'uiſgeachan a mach o
'n ionad naomh, agus bidh a thoradh
air ſon bìdh, agus a dhuilleach air ſon
leighis.
13 Mar ſo deir an Tighearn Dia,
So a' chrìoch leis an ſealbhuich ſibh
am fearann do réir dà threubh dheug
Iſraeil: bidh dà roinn aig Ioſeph.
14 Agus ſealbhaichidh ſibh e, aon
co maith 'ſ a chéile: oir am fearann
ſo mu 'n do thog miſe ſuas mo làmh,
gu 'n dthugainn e do 'r n-aithrichibh,
tuitidh oirbhſe mar oighreachd.
15 Agus ſo crìoch an fhearainn air
an taobh mu thuath, o 'n fhairge
mhòir, ſlighe Hetloin, mar a théid
daoine gu Sedad.
16 Hamat, Berotah, Sibraim, a ta
eadar crìoch Dhamaſcuis agus crìoch
Hamait; Haſarhaticon, a ta làimh ri
iomall Haurain.
17 Agus o 'n fhairge bidh a' chrìoch
aig Haſar-enan, crìoch Dhamaſcuis,
agus an airde tuath air an taobh
mu thuath, agus crìoch Hamait: a-
gus ſo an taobh mu thuath.
18 Agus an taobh an ear toimhſidh
ſibh o Hauran agus o Dhamaſcus, a-
gus o Ghilead, agus o fhearann Iſraeil
làimh ri Iordan, o 'n chrìch gu ruig
an fhairge 'n ear: agus ſo an taobh
an ear.
19 Agus an taobh deas mu dheas
o Thamar, gu uiſgeacha na ſtrì ann
an Cades, an ſruth gus an fhairge
mhòr: agus ſo an taobh deas mu
dheas.
20 An taobh an iar mar an ceudna
bidh aig an fhairge mhòir o 'n iomall,
gus an dthig duine nall fa chomhair
Hamait: ſo an taobh an iar.
21 Mar ſo roinnidh ſibh am fear-
ann ſo dhuibh, do réir fhineachan
Iſraeil.
22 Agus tarlaidh gu 'n roinn ſibh
e le crannchur air ſon oighreachd
dhuibh féin, agus do na coigrich a
bhios air chuairt 'n 'ur meaſg, a
ghineas clann 'nur meaſg: agus bidh
iad dhuibh mar gu 'm biodh iad air
am breth ſan dùthaich am meaſg
cloinne Iſraeil; bidh oighreachd aca
maille ruibh, am meaſg fhineachan
Iſraeil.
23 Agus tarlaidh, anns an treubh
anns am bi an coigreach air chuairt,
an ſin gu 'n dthoir ſibh dha 'oighr-
eachd, deir an Tighearn Dia.

CAIB. XLVIII.

ANIS is iad ſo ainmean nan
treubh, o 'n cheann mu thuath
gu iomall ſlighe Hetloin, mar a théid
neach gu Hamat, Haſarenan, crìoch
Dhamaſcuis mu thuath, gu iomall
Hamait, (oir is iad ſo a thaobhan an
ear agus an iar) bidh aon roinn aig
Dan.
2 Agus làimh ri crìch Dhain, o 'n
taobh an ear gus an taobh an iar, aon
aig Aſer.
3 Agus làimh ri crìch Aſeir, o 'n
taobh an ear gus an taobh an iar, aon
aig Naphtali.
4 Agus làimh ri crìch Naphtali,
o'n taobh an ear gus an taobh an iar,
aon aig Manaſeh.
5 Agus làimh ri crìch Mhanaſeh,
o 'n taobh an ear gus an taobh an iar,
aon aig Ephraim.
6 Agus làimh ri crìch Ephraim, o
'n taobh an ear gus an taobh an iar,
aon aig Reuben.
7 Agus làimh ri crìch Reuben, o'n
taobh an ear gus an taobh an iar, aon
aig Iudah.
8 Agus làimh ri crìch Iudah, o 'n
taobh an ear gus an taobh an iar,
bidh tabhartas a bheir ſibh ſeachad,
cùig mìle fichead *làmh-choille* air leud,
agus air fad mar aon do na h-earran-
naibh eile, o'n taobh an ear gus an
taobh an iar, agus bidh an t-ionad
naomh na mheadhon.
9 An tabhartas a bheir ſibh ſeach-
ad do 'n Tighearn, bidh e cùig mìle
fichead *làmh-choille* air fad, agus deich
mìle *làmh-choille* air leud.
10 Agus air an ſon-ſan, air ſon nan
ſagart, bidh an tabhartas naomh ſo, ris
an airde tuath, cùig mìle fichead
làmh-

làmh-choille air fad, agus ris an aird an
iar, deich mìle *làmh-choille* air leud,
agus ris an aird an ear, deich mìle
làmh-choille air leud, agus ris an airde
deas, cùig mìle fichead *làmh-choille* air
fad, agus bidh ionad naomh an Tigh-
earna na mheadhon.

11 Bidh e air son nan sagart a ta
naomhaichte, do mhacaibh Shadoic, a
choimhid an ni a dh' earb mise riu,
nach deachaidh air seachran an uair a
chaidh clann Israeil air seachran, mar
a chaidh na Lebhithich air seachran.

12 Agus is ro-naomh dhoibh-san
tabhartas so an fhearainn, làimh ri
crìch nan Lebhitheach.

13 Agus thall fa chomhair crìche
nan sagart, bidh aig na Lebhithich
cùig mìle fichead *làmh-choille* air fad,
agus deich mìle *làmh-choille* air leud;
is e am fad uile cùig mìle fichead
làmh-choille, agus an leud deich mìle.

14 Agus cha reic iad deth, ni mò
ni iad a mhalairt, no bheir iad uatha
ceud thoradh an fhearainn: oir tha e
naomh do 'n Tighearn.

15 Agus bidh na cùig mìle *làmh-
choille* ta air am fàgail anns an leud,
thall fa chomhair nan cùig mìle fich-
ead, na ionad nach bi naomh, air son
a' bhaile, air son còmhnuidh, agus air
son dlù-bhailtean, agus bidh am baile
na mheadhon.

16 Agus so a thoimhsean, an taobh
mu thuath ceithir mìle agus cùig
ceud, agus an taobh mo dheas ceithir
mìle agus cùig ceud, agus air an taobh
an ear ceithir mìle agus cùig ceud,
agus an taobh an iar ceithir mìle agus
cùig ceud.

17 Agus bidh dlù-bhailtean na cath-
rach ris an airde tuath dà cheud agus
leth-cheud, agus ris an airde deas dà
cheud agus leth-cheud, agus ris an
aird an ear dà cheud agus leth-cheud,
agus ris an aird an iar dà cheud agus
leth-cheud.

18 Agus bidh a' chuid eile air leud,
thall fa chomhair tabhartais a' chuibh-
rinn naomha, deich mìle ris an taobh
an ear, agus deich mìle ris an taobh
an iar: agus bidh e thall fa chomhair
tabhartais a' chuibhrinn naomha, agus
bidh a chinneas mar lòn do luchd-
frithealaidh na cathrach.

19 Agus ni a' mhuinntir a fhrith-
ealas do 'n bhaile frithealadh dha as
uile threubhaibh Israeil.

20 Is e an tabhartas uile cùig mìle
fichead, le cùig mìle fichead: bheir
sibh seachad an tabhartas naomh ceith-
ir chearnach, maille ri seilbh na cath-
rach.

21 Agus bidh a' chuid eile air son
an uachdarain, air an taobh so, agus
air an taobh eile, do 'n tabhartas
naomh, agus do sheilbh na cathrach
thall fa chomhair nan cùig mìle fich-
ead do 'n tabhartas leth ris a' chrìch
an ear, agus an taobh an iar thall fa
chomhair nan cùig mìle fichead leth
ris a' chrìch an iar, thall fa chomhair
nan cuibhrionn air son an uachdarain,
agus bidh e so na thabhartas naomh,
agus bidh naomh-ionad an teampuill
na mheadhon.

22 An déigh seilbh nan Lebhith-
each, agus seilbh na cathrach, bidh sin
anns a' mheadhon aig an uachdaran,
eadar crìoch Iudah agus crìoch Bhen-
iamin, bidh so aig an uachdaran.

23 Do thaobh na codaich eile do na
treubhan o 'n taobh an ear gus an taobh
an iar, bidh aon *roinn* aig Beniamin.

24 Agus làimh ri crìch Bheniamin,
o 'n taobh an ear gus an taobh an iar,
aon aig Simeon.

25 Agus làimh ri crìch Shimeoin,
o 'n taobh an ear gus an taobh an iar,
aon aig Isachar.

26 Agus làimh ri crìch Isachair, o 'n
taobh an ear gus an taobh an iar, aon
aig Sebulun.

27 Agus làimh ri crìch Shebuluin,
o 'n taobh an ear gus an taobh an iar,
aon aig Gad.

28 Agus làimh ri crìch Ghaid, aig
an taobh deas mu dheas, bidh a'
chrìoch o Thamar, eadhon gu uisg-
eachan na strì ann an Cades, gus an
abhainn leth ris an fhairge mhòir.

29 So am fearann a roinneas sibh
le crannchur do threubhan Israeil air
son oighreachd, agus so na cuibhrinn
aca, deir an Tighearn Dia.

30 Agus so dol a mach na cathrach
air an taobh mu thuath, ceithir mìle
agus cùig ceud tomhas.

31 Agus bidh geatachan na cath-
rach do réir ainmean threubhan Is-
raeil,

raeil, tri geatacha ris an airde tuath;
aon gheata do Reuben, aon gheata do
Iudah, aon gheata do Lebhi.
32 Agus air an taobh an ear ceithir
mìle agus cùig ceud: agus tri geat-
acha; aon gheata do Ioseph, aon
gheata do Bheniamin, aon gheata do
Dhan.
33 Agus air an taobh mu dheas
ceithir mìle agus cùig ceud tomhas:
agus tri gheatachan; aon gheata do
Shimeon, aon gheata do Isachar, aon
gheata do Shebulun.
34 Air an taobh an iar ceithir mìle
agus cùig ceud, le 'n tri gheatachaibh;
aon gheata do Ghad, aon gheata do
Aser, aon gheata do Naphtali.
35 Bha e mu 'n cuairt ochd mìle
deug *tomhas:* agus bidh mar ainm air
a' chathair o 'n là sin, A ta an Tigh-
earn an sin.

DANIEL.

CAIB. I.

ANNS an treas bliadhna do linn
Iehoiacim righ Iudah, thàinig
Nebuchadnesar righ Bhabiloin gu Ie-
rusalem, agus chuairtich e le feachd
e.
2 Agus thug an Tighearn Iehoia-
cim righ Iudah d'a làimh, le cuid do
shoithichibh tighe Dhé, a thug e gu
tìr Shìnair, gu tigh a dhé; seadh thug
e na soithichean gu tigh-taisg a dhé.
3 Agus labhair an righ ri Aspe-
nas uachdaran a chaillteanach, gu 'n
dthugadh e leis cuid do chloinn Israeil,
agus do shliochd an righ, agus do na
prionnsachaibh,
4 Clann air nach robh ciuram air
bith, ach a bha maiseach, agus fogh-
luimte anns na h-uile ghliocas, agus
fiosrach ann an eòlas, agus seòlta air
ealuidh, agus a bha comasach air seas-
amh ann an lùchairt an righ, agus d'
am feudadh iad foghlum agus teanga
nan Caldéach a theagasg.
5 Agus dh' orduich an righ dhoibh
lòn lathail do bhiadh an righ, agus
do'n fhìon a bha e 'g òl: mar sin 'g
an àrachadh tri bliadhna, a chum gu
seasadh iad an ceann na h-aimsire sin
an làthair an righ.
6 A nis am measg na muinntir so
bha, do chloinn Iudah, Daniel, Hana-
niah, Misael, agus Asariah:
7 D' an d'thug uachdaran nan caill-
teanach ainmean: oir thug e air Da-
niel *mar ainm* Beltesasar, agus air Ha-
naniah Sadrach; agus air Misael Me-
sach; agus air Asariah Abednego.
8 Ach ghabh Daniel rùn na chridhe
nach truailleadh se e féin leis a'
chuibhrionn do bhiadh an righ, no
leis an fhìon d' an d' òl e: uime sin
ghuidh e air uachdaran nan caillteana-
ch, nach biodh e air a shalchadh.
9 A nis thug Dia do Dhaniel deagh-
ghean agus caoimhneas gràdhach o
uachdaran nan caillteanach.
10 Agus thuirt uachdaran nan
caillteanach ri Daniel, Tha eagal orm
roimh mo thighearn an righ, a dh'
orduich 'ur biadh agus 'ur deoch: oir
ciod uime am faiceadh e 'ur n-agh-
aidhean ni 's measa coslas na chlann
eile d'ur seòrsa? an sin cuiridh sibh
mise ann an cunthart mo chinn o'n
righ.
11 An sin thuirt Daniel ri Melsar,
a chuir uachdaran nan caillteanach os
cionn Dhanieil, Hananiah, Mhisaeil
agus Asariah,
12 Dearbh do sheirbhisich, guidh-
eam ort, deich laithean, agus thugar
dhuinn peasair ri h-itheadh, agus uisge
r'a òl.
13 An sin amhaircear air ar n-agh-
aidhean ann ad làthair-sa, agus air
aghaidh na cloinne ta 'g itheadh do
chuibhrionn bìdh an righ: agus mar
a chithear ceart duit, buin ri d' sheir-
bhisich.
14 Is amhuil a dh' aontaich e leo
anns a' chùis so, agus dhearbh e iad
deich laithean.
15 Agus an ceann dheich laithean
bha dreach an aghaidhean ni bu mhais-
iche agus ni bu shultmhoire na an uile
chlann a dh' ith an cuibhrionn do
bhiadh an righ.
16 Mar so thug Melsar air falbh
cuibhrionn am bìdh, agus am fìon bu-

chòir dhoibh òl; agus thug e dhoibh
peasair.
17 Do thaobh nan ceathrar chloinne
so, thug Dia dhoibh eòlas agus tuigse
anns na h-uile fhoghlum agus ghlioc-
as; agus bha tuigs' aig Daniel anns
na h-uile shealladaibh agus bhruadar-
aibh.
18 A nis aig ceann nan laithean,
anns an d' thubhairt an righ gu'n
dthugadh e steach iad, an sin thug
uachdaran nan caillteanach a steach
iad an làthair Nebuchadnesair.
19 Agus rinn an righ còmhradh
riu; agus nam measg uile cha d' fhuar-
adh aon cosmhuil ri Daniel, Hananiah,
Misael, agus Asariah: air an aobhar
sin sheas iad fa chomhair an righ.
20 Agus anns na h-uile ghnothaich-
ibh gliocais agus tuigse a dh' fhios-
raich an righ dhiubh, fhuair e iad
deich uairean ni b'fhearr na na h-uile
dhruidhean *agus* speuradairean a bha
na rioghachd uile.
21 Agus mhair Daniel gu ceud
bhliadhna righ Chiruis.

CAIB. II.

AGUS anns an dara bliadhna do
linn Nebuchadnesair, bhruadair
Nebuchadnesar bruadar, leis an robh
'inntinn air a buaireadh, agus dheal-
aich a chadal ris.
2 An sin dh' àithn an righ na
druidhean, agus na speuradairean, a-
agus an luchd-fiosachd, agus na Cal-
déich a ghairm, a dh' fheuchainn do
'n righ a bhruadair: mar sin thàinig
iad, agus sheas iad an làthair an righ.
3 Agus thuirt an righ riu, Bhrua-
dair mi bruadar, agus bha m' inntinn
air a buaireadh a dh' fhaotuinn fios a'
bhruadair.
4 An sin labhair na Caldéich ris an
righ anns a' *chànain* Shiriaich, O a
righ, mair beo gu bràth: innis do d'
sheirbhisich am bruadar, agus feuch-
aidh sinne a bhrigh.
5 Fhreagair an righ agus thuirt e
ris na Caldéich, Tha an ni air dol as
m' aire; mur dthoir sibhse fios dhomh
air a' bhruadar le 'bhrigh, gearrar
sibh 'nur blioghdaibh, agus nithear 'ur
tighean nan dùn aolaich.
6 Ach ma dh' fheuchas sibh an
bruadar agus a bhrigh, gheibh sibh
uamsa tiolacan agus duais, agus onoir
mhòr: uime sin feuchaibh dhomh am
bruadar agus a bhrigh.
7 Fhreagair iadsan a rìs, agus thu-
bhairt iad, Innseadh an righ d'a sheir-
bhisich am bruadar, agus feuchaidh
sinne a bhrigh.
8 Fhreagair an righ agus thubhairt
e, Tha fios agam gu deimhin gu 'm
b' àill leibh ùine fhaotainn, a chionn
gu bheil sibh a' faicinn gu bheil an ni
air dol as m' aire.
9 Ach mur dthoir sibh fios domh
air a' bhruadar, *cha 'n 'eil ach an* aon
bhreith-dhuibh: oir dh' ulmhaich sibh
briathran breugach agus truaillidh gu
labhairt am làthair-sa, gu atharrach-
adh na h-aimsire: uime sin innsibh
dhomh am bruadar, agus aithnichidh
mi gur urradh sibh a bhrigh fheuch-
ainn dhomh.
10 Fhreagair na Caldéich ann am
fianuis an righ, agus thubhairt iad,
Cha 'n 'eil duine air an talamh a's ur-
radh gnothach an righ fhoillseachadh:
air an aobhar sin cha' 'n 'eil righ, no
tighearn, no fear-riaghlaidh a dh'iarr
an leithide so do nithibh air aon
druidh, no speuradair, no Caldéach.
11 Agus is ni deacair a ta an righ
ag iarruidh, agus cha 'n 'eil aon air
bith eile a's urradh 'fheuchainn fa
chomhair an righ, ach na dée aig nach
'eil an còmhnuidh maille ri feoil.
12 Air an aobhar so bha 'n righ
ann am feirg, agus ann an teas-chor-
ruich, agus dh' àithn e uile dhaoine
glice Bhabiloin a mhilleadh.
13 Agus chaidh an t-ordugh a mach
gu 'm biodh na daoine glice air am
marbhadh, agus dh'iarr iad Daniel a-
gus a chompanaich gu bhi air am
marbhadh.
14 An sin fhreagair Daniel le
comhairle agus le gliocas, Arioch,
ceann-feadhna freiceadain an righ, a
chaidh a mach a mharbhadh dhaoine
glice Bhabiloin.
15 Fhreagair e agus thubhairt e ri
Arioch ceann-feadhna an righ, C'ar
son a tha 'n t-ordugh co dian o'n righ?
An sin dh' innis Arioch a' chùis do
Dhaniel.
16 An sin chaidh Daniel a steach,
agus

agus ghuidh e air an righ gu 'n dthugadh e dha ùine, agus gu feuchadh e do 'n righ a' bhrìgh.

17 An sin chaidh Daniel g'a thigh, agus dh'innis e a' chùis do Hananiah, Mhisael, agus Asariah, a chompanaich;

18 A chum gu 'n iarradh iad tròcair air Dia nèimhe mu thimchioll na dìomhaireachd so; a chum nach bàsaicheadh Daniel agus a chompanaich leis a' chuid eile do dhaoine glice Bhabiloin.

19 An sin bha an dìomhaireachd air a foillseachadh do Dhaniel ann an sealladh san oidhche: an sin bheannuich Daniel Dia nèimhe.

20 Fhreagair Daniel agus thubhairt e, Beannuichte gu robh ainm Dhia gu saoghal nan saoghal: oir is leis-san gliocas agus cumhachd.

21 Agus atharraichidh e na h-amanna, agus na h-aimsirean: atharraichidh e righrean, agus cuiridh e suas righrean: bheir e gliocas do'n ghlic, agus eòlas dhoibhsan d'an aithne tuigse.

22 Foillsichidh e na nithe domhain agus dìomhair: is aithne dha ciod a ta san dorchadas, agus tha an solus a chòmhnuidh maille ris.

23 Bheirim buidheachas agus cliù dhuit, O thusa, a Dhia m' aithrichean, a thug dhomh gliocas agus cumhachd, agus a thug fios duinn a nis air an ni a dh'iarr sinn ort: oir thug thu fios duinn a nis air gnothach an righ.

24 Uime sin chaidh Daniel a steach gu Arioch, a shonraich an righ gu daoine glice Bhabiloin a mhilleadh: chaidh e agus labhair e mar so ris, Na sgrios daoine glice Bhabiloin: thoir mise steach ann am fianuis an righ, agus feuchaidh mi do 'n righ an seadh.

25 An sin thug Arioch a stigh Daniel ann am fianuis an righ gu luath, agus thubhairt e mar so ris, Fhuair mi duine do bhraighdibh Iudah, a bheir fios do 'n righ air an t-seadh.

26 Fhreagair an righ, agus thubhairt e ri Daniel, d' am b' ainm Beltesasar, An urradh thusa fios a thoirt domh air a' bhruadar a chunnaic mi, agus air a bhrìgh?

27 Fhreagair Daniel ann am fianuis an righ, agus thubhairt e, An dìomhaireachd a dh'iarr an righ cha 'n urradh na daoine glice, na speuradairean, na druidhean, no an luchd-siosachd fheuchainn do 'n righ;

28 Ach tha Dia ann an nèamh a dh'fhoillsicheas nithe dìomhair, agus a ta toirt fios do Nebuchadnesar ciod a thachras anns na laithibh deireannach. Do bhruadar, agus aislinge do chinn air do leabaidh, is iad so iad:

29 (Do d' thaobhsa, O a righ, thàinig do smaointe ann ad aire air do leabaidh, na nithe bha ri tachairt na dhèigh so; agus tha esan a dh'fhoillsicheas nithe dìomhair a' toirt fios duit ciod a thig gu crìch.

30 Ach do m' thaobhsa, cha 'n 'eil an dìomhaireachd so air a leigeadh ris domh air son gliocais air bith a ta agam thar aon *duine* beo, ach air an son-san a ni a' bhrìgh aithnichte do 'n righ; agus a chum gu 'm biodh fios agad-sa air smaointe do chridhe:)

31 Chunnaic thusa, O a righ, agus feuch iomhaigh mhòr: sheas an iomhaigh mhòr so, aig an robh dealradh oirdheirc, fa d' chomhair, agus bha a dreach uamhasach.

32 Bha ceann na h-iomhaigh so do òr finealta, a h-uchd agus a làmha do airgiod, a brù agus a sléisde do umha,

33 A lurganna do iarunn, a casan[a], cuid da iarunn, agus cuid do chré.

34 Chunnaic thu gus an robh clach air a gearradh a mach gun làmhan, a bhuail an iomhaigh air a casan a bha do iarunn agus do chré, agus a bhris nam bloighdibh iad.

35 An sin bha an t-iarunn, a' chré, an umha, an t-airgiod agus an t-òr, air am briseadh nam bloighdibh le chéile, agus dh'fhàs iad cosmhuil ri moll nan urlar bualaidh anns an t-samhra, agus thug a' ghaoth air falbh iad, air chor as nach d'fhuaradh àite sam bith dhoibh: agus dh'fhàs a' chlach a bhuail an iomhaigh na sliabh mòr, agus lìon i an talamh uile.

36 So am bruadar; agus innsidh sinn a bhrìgh ann an làthair an righ.

[a] *troidhean.*

37 O a righ, is righ os cionn righ-
rean thusa: oir thug Dia nèimhe
dhuit rioghachd, cumhachd, agus
neart, agus glòir.
38 Agus c' àit air bith am bheil
clann nan daoine a' gabhail còmh-
nuidh, beathaichean na machrach, a-
gus eunlaith an athair, thug e do d'
làimh-sa, agus rinn e uachdaran diot
os an cionn uile: is tusa an ceann so
do òr.
39 Agus ann ad dhéigh-sa éiridh
rioghachd eile, ni 's lugha na thusa,
agus treas rioghachd eile do umha,
aig am bi uachdranachd os cionn an
domhain uile.
40 Agus bidh an ceathramh riogh-
achd làidir mar iarunn: amhuil a
bhriseas iarunn ann am bloighdibh, a-
gus a chlaoidheas e na h-uile nithe:
agus amhuil iarunn a bhriseas iad so
uile, brisidh i ann am bloighdibh, a-
gus bruthaidh.
41 Agus mar a chunnaic thu na
casan agus na meoir, cuid do chré a'
chriadhair, agus cuid do iarunn, bidh
an rioghachd air a roinn, ach bidh
innte do neart an iaruinn, ann a'
mheud as a chunnaic thu an t-iarunn
air a mheasgadh le cré làthaiche.
42 Agus mar a bha meoir nan cas,
cuid do iarunn, agus cuid do chré;
bidh cuid d' an rioghachd làidir, agus
cuid briste.
43 Agus mar a chunnaic thu iarunn
air a mheasgadh le cré làthaiche,
measgaidh, iadsan iad féin le sìol
dhaoine: ach cha ghreimich iad r'a
chéile, amhuil mar nach gabh iarunn
tàthadh ri cré.
44 Agus ann an laithibh nan righ-
rean so, cuiridh Dia nèimh suas riogh-
achd nach dthéid gu sìorruidh a
sgrios: agus cha bhi an rioghachd air
a fàgail aig sluagh eile, *ach* brisidh i
nam bloighdibh, agus caithidh i na
rioghachdan so uile, agus seasaidh i
gu sìorruidh.
45 Ann a' mheud as gu facadh tu
gu 'n robh a' chlach air a gearradh a
mach as an t-sliabh as eugmhais làmh-
an, agus gu'n do bhris i nam bloigh-
dibh an t-iarunn, an umha, a' chré, an
t-airgiod agus an t-òr; thug an Dia
mòr fios do'n righ ciod a thig gu
crìch na dhéigh so: agus tha an
bruadar cinnteach, agus a bhrìgh
dearbhta.
46 An sin thuit an righ Nebuchad-
nesar air 'aghaidh, agus thug e urram
do Dhaniel, agus dh'àithn e gu 'n
dthugadh iad dha tabhartas agus bol-
trach cùbhraidh.
47 Fhreagair an righ Daniel, agus
thubhairt e, Gu firinneach is e bhur
Dia-sa Dia nan dée, agus Tighearn
nan righrean, agus fear-foillseachaidh
nithe dìomhair, air dhuitse bhi co-
masach an dìomhaireachd so fhoill-
seachadh.
48 An sin rinn an righ duine mòr
do Dhaniel, agus thug e dha mòran
thiolaca luachmhor, agus rinn e fear-
riaghlaidh dheth os cionn mhòr-roinn
Bhabiloin uile, agus ceannard air na
h-uachdarain os cionn uile dhaoine
glice Bhabiloin.
49 An sin dh'iarr Daniel air an
righ, agus chuir e Sadrach, Mesach,
agus Abednego os cionn ghnothaich-
ean mhòr-roinn Bhabiloin: ach shuidh
Daniel ann an geata an righ.

CAIB. III.

RINN Nebuchadnesar an righ
ìomhaigh òir, a bha tri fichead
làmh-choille air airde, agus sè làmha-
coille air leud: chuir e suas i ann am
machair Dhura, ann am mòr-roinn
Bhabiloin.
2 An sin chuir Nebuchadnesar an
righ fios a chum gu'n cruinnichte le
chéile na prionnsachan, na fir riaghl-
aidh, agus na cinn-fheadhna, na breith-
eachan, luchd-coimhid an ionmhais,
na comhairlich, na fir-lagha, agus uile
luchd-riaghlaidh nam mòr-roinn, gu
teachd a chum coisreagaidh na h-
ìomhaigh a chuir Nebuchadnesar an
righ suas.
3 An sin bha na prionnsachan, na
fir-riaghlaidh, na cinn-fheadhna, na
breitheachan, luchd-coimhid an ion-
mhais, na comhairlich, na fir-lagha, a-
gus uile luchd-riaghlaidh nam mòr-
roinn air an cruinneachadh le chéile,
chum coisreagaidh na h-ìomhaigh a
chuir Nebuchadnesar an righ suas, a-
gus sheas iad fa chomhair na h-ìomh-
aigh a chuir Nebuchadnesar suas.

4 An

4 An sin ghlaodh fear-éighich gu
h-ard, Dhuibhse ta e air 'àithneadh, O
shluagh, fhineacha, agus a theang-
anna,
5 Ciod air bith àm an cluinn sibh
fuaim na trompaid, an fheadain, na
clàrsaich, sacbuit, saltair, dulsimeir, a-
gus na h-uile seòrsa ciuil, gu'n tuit
sibh sìos, agus gu'n dthoir sibh aoradh
do'n ìomhaigh òir a chuir an righ
Nebuchadnesar suas.
6 Agus co air bith nach strìochd
sìos, agus nach dean aoradh, tilgear e
san uair sin féin ann am builsgean à-
mhuinn theintich dhian-loisgich.
7 Uime sin anns an àm sin, an uair
a chuala an sluagh uile fuaim na
trompaid, an fheadain, na clàrsaich,
sacbuit, saltair, agus na h-uile seòrsa
ciuil, thuit an sluagh uile, na fineacha,
agus na teanganna, sìos, agus thug
iad aoradh do'n ìomhaigh òir a chuir
an righ Nebuchadnesar suas.
8 Air an aobhar sin, anns an àm sin
thàinig Caldéich àraid am fagus, agus
rinn iad casaid air na h-Iudhaich.
9 Labhair iad, agus thubhairt iad
ris an righ Nebuchadnesar, O a righ
mair beo gu bràth.
10 Thug thusa, O a righ, ordugh
gu'n deanadh gach aon a chluinneadh
fuaim na trompaid, an fheadain, na
clàrsaich, sacbuit, saltair, agus dulsi-
meir, agus na h-uile seòrsa ciuil,
strìochdadh agus aoradh do'n ìomh-
aigh òir:
11 Agus cò air bith nach strìochd
sìos, agus nach dean aoradh, gu'm
biodh e air a thilgeadh ann am builsg-
ean àmhuinn theintich dhian-loisgich.
12 Tha Iudhaich àraid, a chuir thu
os cionn ghnothaichean mhòr-roinn
Bhabiloin, Sadrach, Mesach, agus A-
bednego: cha d'thug na daoine so, O
a righ, meas ortsa, cha 'n 'eil iad a'
deanamh seirbhis do d' dhéibh, no
toirt aoraidh do'n ìomhaigh òir a
chuir thu suas.
13 An sin dh'àithn Nebuchadnesar,
na fheirg, agus na chorruich, Sadrach,
Mesach, agus Abednego a thoirt
chuige: an sin thug iad na daoine so
ann an làthair an righ.
14 Labhair Nebuchadnesar, agus
thuirt e riu, Am bheil so fior, O Sha-
draich, a Mhesaich, agus Abednego?
nach 'eil sibhse toirt seirbhis do m'
dhéibhsa, no toirt aoraidh do'n ìomh-
aigh òir a chuir mi suas?
15 A nis ma bhios sibh deas ge b'e
air bith àm anns an cluinn sibh fuaim
na trompaid, an fheadain, na clàrsaich,
sacbuit, saltair, agus dulsimeir, agus
na h-uile seòrsa ciuil, gu strìochdadh
sìos, agus aoradh a dheanamh do'n
ìomhaigh a rinn mise, *is maith*: ach
mur dean sibh aoradh, tilgear sibh
anns a' cheart uair sin ann am builsg-
ean àmhuinn theintich dhian-loisgich;
agus cò an Dia sin a's urradh 'ur tearn-
adh as mo làmhan-sa?
16 Fhreagair Sadrach, Mesach, a-
gus Abednego, agus thubhairt iad ris
an righ, O Nebuchadnesair, cha'n'eil
suim againne freagradh a thoirt duit
anns a' chùis so.
17 Ma 's ann mar sin a bhitheas,
tha ar Dia-ne, d'am bheil sinn a' toirt
seirbhis, comasach air ar saoradh o'n
àmhuinn theintich dhian-loisgich, a-
gus ni e ar saoradh as do làimh-sa, O
a righ.
18 Ach mur dean, biodh fios agad,
O a righ, nach dthoir sinn seirbhis do
d' dhéibh, no aoradh do 'n ìomhaigh
òir a chuir thu suas.
19 An sin bha Nebuchadnesar làn
do chorruich, agus bha dreach a
ghnùise air caochladh an aghaidh
Shadraich, Mhesaich agus Abednego;
labhair agus dh'àithn e gu'n teasaich-
eadh iad an àmhuinn seachd uaire ni
bu mhò na bu ghnàth leo a teasach-
adh.
20 Agus dh'àithn e do na daoine
bu treise na fheachd Sadrach, Mesach
agus Abednego a cheangal, agus a
thilgeadh do'n àmhuinn theintich
dhian-loisgich.
21 An sin cheangladh na daoine so
nan còtaichibh, nan triusaibh, agus
nan ceann-eudaichibh, agus nan eud-
aichibh *eile*, agus thilgeadh iad ann am
meadhon na h-àmhuinn theintich
dhian-loisgich.
22 Air an aobhar sin, a chionn gu'n
robh àithne an righ ro-theann, agus
an àmhuinn ro-theith, mharbh lasair
an teine na daoine sin a thog suas Sa-
drach, Mesach agus Abednego.

23 Agus thuit an triuir dhaoine so,
Sadrach, Mesach agus Abednego sìos
ceangailte ann am builsgean na h-
àmhuinn-theintich dhian-loisgich.
24 An sin bha an righ Nebuchad-
nesar làn uamhainn, agus dh'éirich e
suas ann an deifir, agus labhair e, a-
gus thubhairt e r'a chomhairlich,
Nach do thilg sinn triuir dhaoine
ceangailte do mheadhon an teine?
Fhreagair iadsan agus thuirt iad ris
an righ, Is fìor, O a righ.
25 Fhreagair esan agus thubhairt
e, Feuch, chi mi ceathrar dhaoine
fuasgailte; a' coiseachd ann am mea-
dhon an teine, agus cha 'n 'eil doch-
ann sam bith orra, agus tha coslas a'
cheathramh mar mhac Dé.
26 An sin thàinig Nebuchadnesar
dlù do bheul na h-àmhuinn theintich
dhian-loisgich, agus labhair e, ag ràdh,
A Shadraich, Mhesaich agus Abed-
nego, òglacha an Dé a's airde, thigibh
a mach, agus thigibh an so. An sin
thàinig Sadrach, Mesach agus Abed-
nego a mach a meadhon an teine.
27 Agus chunnaic na prionnsach-
an, na h-uachdarain, agus na cinn-
fheadhna, agus comhairlich an righ, a
bha cruinn an ceann a' chéile, na
daoine so, nach robh cumhachd air
bith aig an teine air an corpaibh, ni
mò bha fuiltean d' an ceann dàithte,
no an còtaichean air an caochladh, no
boladh an teine dhiubh.
28 An sin labhair Nebuchadnesar,
agus thubhairt e, Gu ma beannuichte
gu robh Dia Shadraich, Mhesaich a-
gus Abednego, a chuir a nuas 'ain-
geal, agus a shaor 'oglaich a chuir an
dòchas ann, agus a chuir an aghaidh
focail an righ, agus a thug seachad an
cuirp a chum nach tugadh iad seirbhis
no aoradh do dhia air bith, ach an
Dia féin.
29 Uime sin tha mise a' toirt teann-
orduigh, gu'm bi gach sluagh, cinn-
each, agus teanga, a labhras ni sam
bith air dhochair an aghaidh Dhé
Shadraich, Mhesaich agus Abednego,
air an gearradh nam bloighdibh, agus
an tighean air an deanamh nan dùn
aolaich, a chionn nach 'eil Dia air bith
eile ann a's urradh tearnadh air an
dòigh so.
30 An sin dh'arduich an righ Sa-
drach, Mesach agus Abednego ann
am mòr-roinn Bhabiloin.

CAIB. IV.

NEBUCHADNESAR an righ chum
nan uile shluagh, fhineacha a-
gus theanganna ta chòmhnuidh air an
talamh uile: Gu meudaichear sìth
dhuibh.
2 Chunnacas ceart dhomhsa gu'n
cuirinn an céill na comharan agus na
mìorbhuilean a dh'oibrich an t-àrd
Dhia do m' thaobh.
3 Cia mòr a chomharan! agus cia
cumhachdach a mhìorbhuilean! a
rioghachd-san is rioghachd shìorruidh
i, agus tha 'uachdranachd o linn gu
linn.
4 Bha mise Nebuchadnesar gu
suaimhneach ann am thigh, agus gu
h-àluinn [a] ann am lùchairt:
5 Chunnaic mi bruadar a chuir
eagal orm, agus rinn mo smaointe air
mo leabaidh, agus aislinge mo chinn
mo bhuaireadh.
6 Uime sin thug mi teann-ordugh
uile dhaoine glice Bhabiloin a thoirt a
steach a' m' fhianuis, a chum gu'n
dthugadh iad fios domh air brìgh a'
bhruadair.
7 An sin thàinig a steach na druidh-
ean, na speuradairean, na Caldéich,
agus na fiosaichean: agus dh'innis mi
am bruadar nan làthair; ach cha
d'thug iad fios dhomh air a bhrìgh.
8 Ach mu dheire thàinig Daniel a
steach a' m' làthair, (d' am b' ainm
Beltesasar, do réir ainme mo dhé-sa,
agus anns am bheil spiorad nan dée
naomh)—agus na làthair-san dh'innis
mi am bruadar, *ag ràdh*,
9 O Bheltesasair, thusa a's airde do
na druidhibh, a chionn gu bheil fios
agam gu bheil spiorad nan dée naomh
annad-sa, agus nach cuir dìomhair-
eachd air bith dragh ort, innis domh
sealladh mo bhruadair a chunnaic mi,
eadhon a bhrìgh.
10 Mar so bha aislinge mo chinn
air mo leabaidh, Chunnaic mi, agus,
feuch,

[a] *dosrach.* Chald.

feuch, craobh ann am meadhon na talmhainn, agus bha a h-airde mòr.

11 Dh'fhàs a' chraobh, agus bha i làidir, agus ràinig a h-airde gu nèamh, agus a sealladh gu crìch na talmhainn uile.

12 Bha a duilleach maiseach, agus a toradh pailt, agus innte bha biadh air son na h-uile: bha aig beathaiche na machrach sgàile fuipe, agus ghabh eunlaith an athair còmhnuidh na geugaibh, agus bheathaicheadh na h-uile feoil uaipe.

13 Chunnaic mi ann an aislingibh mo chinn, air mo leabaidh, agus feuch, thàinig fear-faire, eadhon aon naomh a nuas o nèamh:

14 Ghlaodh e gu h-ard, agus thubhairt e mar so, Gearr sìos an crann, agus sgath dheth a' gheugan, crath dheth a dhuilleach, agus sgap a thoradh; imicheadh na beathaichean o bhi fuidhe, agus na h-eunlaith o 'gheugaibh.

15 Gidheadh fàg bun a fhreumh anns an talamh, eadhon le boinn iaruinn agus umha, ann am feur maoth na faiche; agus biodh e fliuch le dealt nèimh, agus a chuibhrionn leis na beathaichibh ann am feur na talmhainn.

16 Atharruichear a chridhe o bhi na chridhe duine, agus thugar dha cridhe ainmhidh, agus gabhadh seachd aimsirean thairis air.

17 Tha chùis so le teann-ordugh nam fear-faire, agus an t-iarrtas air focal nan naomh: a chum gu'm biodh fios aig na bheil beo gu bheil an Ti a's airde a' riaghladh ann an rioghachd dhaoine, agus 'ga tabhairt do neach air bith as àill leis, agus a' cur suas os a cionn an ti a's suarraiche do dhaoine.

18 Am bruadar so chunnaic mise Nebuchadnesar an righ: a nis, O Bheltesasair, foillsich thusa a bhrìgh, a chionn nach 'eil uile dhaoine glice mo rioghachd comasach air fios a thoirt domh air a bhrìgh: ach tha thusa comasach, oir tha spiorad nan dée naomh annad.

19 An sin bha Daniel, (d' am b' ainm Beltesasar) air a lìonadh le h-uamhunn car aon uaire, agus rinn a smaointean a bhuaireadh: labhair an righ, agus thubhairt e, A Bheltesasair, na deanadh am bruadar no a bhrìgh do bhuaireadh. Fhreagair Beltesasar, agus thubhairt e, Mo thighearn, biodh am bruadar dhoibhsan le 'm fuathach thu, agus a bhrìgh do d' naimhdibh.

20 An crann a chunnaic thu, a dh'fhàs, agus a bha làidir, a ràinig 'airde gu nèamh, agus a shealladh gus an talamh uile;

21 Aig an robh a dhuilleach maiseach, agus a thoradh pailt, agus anns an robh biadh do na h-uile; fuidh an do ghabh beathaichean na machrach còmhnuidh, agus aig an robh air a gheugaibh àite-tàimh do eunlaith an athair:

22 Is tusa sin, O a righ, a ta air fàs agus air cinntinn làidir: oir tha do mheud air fàs agus a' ruigheachd gu nèamh, agus d' uachdranachd gu crìch na talmhainn.

23 Agus mar a chunnaic an righ fear-faire, agus aon naomh a' teachd a nuas o nèamh, agus ag ràdh, Gearr an crann sìos, agus sgrios e, gidheadh fàg bonn a fhreumh anns an talamh, eadhon le boinn iaruinn agus umha ann am feur maoth na faiche; agus biodh e fluich le dealt nèimh, agus a chuibhrionn le beathaichibh na machrach, gus an gabh seachd aimsirean thairis air:

24 So a bhrìgh, O a righ, agus so ordugh an Ti a's airde, a ta air teachd air mo thighearn an righ:

25 Gu fògair iad thu o dhaoinibh, agus gu 'm bi do chòmhnuidh le beathaichibh na machrach, agus bheir iad ort feur itheadh mar dhaimh, agus fliuchaidh iad thu le dealt nèimh, agus théid seachd aimsirean tharad, gus am bi fios agad gu bheil an Ti a's airde a' riaghladh ann an rioghachd dhaoine, agus 'ga tabhairt do neach air bith as àill leis.

26 Agus mar a dh'àithn iad bun freumh a' chruinn fhàgail, bidh do rioghachd cinnteach dhuit, an déigh dhuit fios a bhi agad gu bheil na nèamhan a' riaghladh.

27 Uime sin, O a righ, biodh mo chomhairle-sa taitneach leat, agus bris

air

air falbh do pheacanna le fìreantachd,
agus d' ea-ceartan le tròcair a nochd-
adh do na bochdaibh, a dh'fheuch-
ainn am buanaichear do ſhìochaint.
28 Thàinig ſo uile air righ Nebu-
chadneſar.
29 An ceann dà mhìos dèug bha e
ſpaiſdearachd ann an lùchairt riogh-
achd Bhabiloin.
30 Labhair an righ agus thubhairt
e, Nach i ſo Babilon mhòr, a thog
miſe mar thigh na rioghachd, le neart
mo chumhachd, agus air ſon onoir mo
mhòrachd ?
31 Am feadh a bha am focal ann
am beul an righ, thuit guth o nèamh,
ag ràdh, O a righ Nebuchadneſair,
riutſa ta e air a labhairt, Tha an
rioghachd air dealachadh riut.
32 Agus fògraidh iad thu o dhaoine,
agus bidh do chòmhnuidh le beath-
aichibh na machrach: bheir iad ort
feur itheadh mar dhaimh, agus théid
ſeachd aimſirean tharad, gus am bi
fios agad gu bheil an Ti a's airde
riaghladh ann an rioghachd dhaoine,
agus 'ga tabhairt do neach air bith as
àill leis.
33 Air an uair ſin féin choimhlion-
adh an ni *ſin* air Nebuchadneſar, a-
gus bha e air 'fhògradh o dhaoine,
agus dh' ith e feur mar dhaimh, agus
bha a cholann fliuch le dealt nèimhe,
gus an d'fhàs 'fhionna mar chlòimh
na h-iolaire, agus 'iongannan mar
ſpuirean eun.
34 Agus an ceann nan laithean thog
miſe Nebuchadneſar ſuas mo ſhùilean
ri nèamh, agus phill mo thuigſe chug-
am, agus bheannuich mi an Ti a's
airde, agus chliùthaich mi, agus thug
mi onoir dha-ſan a ta beo gu ſiorr-
uidh, aig am bheil 'uachdranachd na
h-uachdranachd ſhìorruidh, agus a
rioghachd o linn gu linn.
35 Agus tha uile luchd-àiteachaidh
na talmhainn air am meas mar neo-
ni: agus ni eſan mar as àill leis ann
am feachd nèimh, agus am meaſg
luchd-àiteachaidh na talmhainn: agus
cha 'n urradh aon neach a làmh a
bhacadh, no ràdh ris, Ciod a tha thu
deanamh ?
36 Anns an àm ſin féin phill mo
thuigſe chugam, agus do thaobh glòir
mo rioghachd, phill m' onoir agus mo
mhòrachd chugam; agus dh'iarr mo
chomhairlichean agus mo thighearnan
do m' ionnſuidh; agus bha mi air
mo dhaingneachadh ann am riogh-
achd, agus thugadh tuille dhomh do
mhòrachd òirdheirc.
37 A nis tha miſe Nebuchadneſar
a' cliùthachadh agus ag ardachadh,
agus a' toirt onoir do Righ nèimhe,
aig am bheil 'uile oibre 'nam fìrinn,
agus a ſhligheanna 'nam breitheanas,
agus a' mhuinntir a ſhiùbhlas ann an
uabhar, tha eſan comaſach air an ìſl-
eachadh.

CAIB. V.

RINN Belſaſar an righ cuirm
mhòr do mhìle d'a thighearn-
aibh, agus dh'òl e fìon ann an làthair
a' mhìle.
2 Dh'àithn Belſaſar, nuair a bhlais
e am fìon, na ſoithichean òir agus
airgid a thug 'athair Nebuchadneſar
as an teampull a bha ann an Ieruſa-
lem, a thoirt chuige, a chum gu'n
òladh an righ agus a mhòr-uaiſlean,
a mhnathan agus a choi-leapaich aſda.
3 An ſin thug iad chuige na ſoith-
ichean òir a thugadh a teampull tighe
Dhé, a bha ann an Ieruſalem; agus
dh'òl an righ agus a mhòr-uaiſlean, a
mhnathan agus a choi-leapaich aſda.
4 Dh' òl iad fìon, agus chliùthaich
iad na dée òir agus airgid, umha, iar-
uinn, fhiodha, agus chloiche.
5 Anns an uair ſin féin thàinig a
mach meoir làimhe duine, agus
ſgrìobh iad thall fa chomhair a'
choinnleir, air aghaidh balla lùchairte
an righ; agus chunnaic an righ a'
chuid d'an làimh a ſgrìobh.
6 An ſin chaochail gnùis an righ,
agus rinn a ſmaointean a bhuaireadh,
air chor as gu'n robh uilt a leaſraidh
air am fuaſgladh, agus bhuail a ghlùin-
ean an aghaidh a' chéile.
7 Ghlaodh an righ gu h-ard na
ſpeuradairean, na Caldéich, agus na
fioſaichean a thoirt a ſtigh: agus la-
bhair an righ, agus thubhairt e ri
daoine glice Bhabiloinn, Cò air bith
a leughas an ſgrìobhadh ſo, agus a
dh'fhoillſicheas domhſa a bhrìgh;
ſgeudaichear e le ſgarlaid, agus cuir-
ear

ear slabhraidh òir m'a mhuineal, agus is e an treas fear-riaghlaidh a bhios anns an rioghachd.

8 An sin thàinig uile dhaoine glice an righ a steach, ach cha b'urradh iad an sgrìobhadh a leughadh, no fios a thoirt do 'n righ air a bhrìgh.

9 An sin bha an righ Belsasar gu mòr air a bhuaireadh, agus bha a ghnùis air a h-atharrachadh, agus bha uamhas air a thighearnaibh.

10 *A nis* thàinig a' bhan-righinn air son briathran an righ agus a thighearnan, a stigh gu tigh na cuirm; agus labhair a' bhan-righinn, ag ràdh, O a righ mair beo gu bràth: na deanadh do smaointe do bhuaireadh, agus na biodh do ghnùis air a caochladh.

11 Tha duine ann ad rioghachd anns am bheil spiorad nan dée naomh, agus ann an laithibh d'athar, bha solus, agus tuigse, agus gliocas, mar ghliocas nan dée, air am faotainn ann; neach a rinn an righ Nebuchadnesar d'athair, d'athair-sa, O a righ, na uachdaran air na druidhibh, speuradairibh, Caldéich, agus fiosaichibh;

12 Do bhrìgh gu 'n d'fhuaireadh spiorad òirdheirc, agus eòlas, agus tuigse, mìneachadh bhruadar, agus taisbeanadh cheistean cruaidhe, agus fuasgladh imcheistean, anns an Daniel so féin, air an d'thug an righ mar ainm Beltesasar: a nis gairmear Daniel, agus foillsichidh esan a bhrìgh.

13 An sin thugadh Daniel a steach an làthair an righ; *agus* labhair an righ, agus thubhairt e ri Daniel, An tusa an Daniel sin a ta do chloinn bhraighdeanais Iudah, a thug an righ, m' athair a tìr nan Iudhach?

14 Chuala mise iomradh ort, gu bheil spiorad nan dée annad, agus gu bheil solus agus tuigse, agus gliocas òirdheirc air 'fhaotainn annad.

15 Agus a nis thugadh na daoine glice, na speuradairean a steach a'm' fhianuis, a chum gu'n leughadh iad an sgrìobhadh so, agus gu'n dthugadh iad dhomhsa fios air a bhrìgh: ach cha b'urradh iad brìgh na cùise fhoillseachadh.

16 Agus chuala mi do d' thaobhsa, gur urradh thu brìgh a thoirt a ni, agus ceistean fhuasgladh; a nis ma's urradh thu an sgrìobhadh a leughadh, agus a bhrìgh fhoillseachadh dhomhsa, éidear thu le sgarlaid, agus cuirear slabhruidh òir mu d' mhuineal, agus is tu an treas fear-riaghlaidh a bhios anns an rioghachd.

17 An sin fhreagair Daniel, agus thubhairt e an làthair an righ, Biodh do thiolacan agad féin, agus thoir do dhuaisean do neach eile, gidheadh leughaidh mise an sgrìobhadh do'n righ, agus leigidh mi ris a bhrìgh dha.

18 O thusa a righ, thug an Dia a's airde do Nebuchadnesar d' athair, rioghachd, agus mòrachd, agus glòir agus onoir.

19 Agus air son na mòrachd a thug e dha, bha crith agus eagal air na h-uile shluagh, fhineacha, agus theangannaibh roimhe: mharbhadh e an ti a b'àill leis, agus an neach a b'àill leis chumadh e beo, agus an neach a b'àill leis chuireadh e suas, agus an neach a b'àill leis chuireadh e sios.

20 Ach 'nuair a bha 'chridhe air a thogail suas, agus 'inntinn air a cruadhachadh ann an uabhar, chuireadh sios o 'chaithir rioghail e, agus thug iad a ghlòir uaith.

21 Agus dh'fhògradh e o chloinn nan daoine, agus bha a chridhe mar na h-ainmhidhean, agus a chòmhnuidh leis na h-asalaibh fiadhaich: bhiadh iad e le feur mar dhaimh, agus bha a chorp fliuch le drùchd nèimh, gus an d'aithnich e gu'm b'e an Dia a's airde bha riaghladh ann an rioghachd dhaoine, agus gu bheil e 'g orduchadh os a cionn an ti as àill leis.

22 Agus thusa a mhac, O Bhelsasair, cha d'islich thu do chridhe, ged bha fios agad air so uile:

23 Ach thog thu suas thu féin an aghaidh Tighearna nèimhe, agus thug iad soithichean a thighe ann ad làthair, agus dh'òl thu féin, agus do thighearnan, do mhnathan, agus do leannain, fìon asda, agus chliùthaich thu na dée airgid, agus òir, umha, iaruinn, fhiodha, agus chloiche, aig nach 'eil léirsinn no clàisteachd, no

aithne: agus an Dia aig am bheil d'anail na làimh, agus do'm buin d'uile shlighe, cha do ghlòraich thu.

24 An sin chuireadh a' chuid do'n làimh uaith, agus bha an sgrìobhadh so air a sgrìobhadh.

25 Agus so an sgrìobhadh a bha air a sgrìobhadh, MENE, MENE, TECEL, UPHARSIN.

26 So brìgh na cùise; MENE, rinn Dia do rìoghachd àireamh, agus chrìochnaich e i.

27 TECEL, tha thu air do thomhas air a' mheigh, agus fhuaireadh easbhuidheach thu.

28 PERES, roinneadh do rìoghachd, agus thugadh i do na Medich agus do na Persich.

29 An sin dh'àithn Belsasar gu 'n éideadh iad Daniel le sgarlaid, agus gu'n cuireadh iad slabhruidh òir m'a mhuineal, agus gu'n glaodhadh iad m'a thimchioll gu'm b'e an treas fear-riaghlaidh a bhiodh anns an rìoghachd.

30 Anns an oidhche sin chaidh Belsasar rìgh nan Caldéach a mharbhadh.

31 Agus ghlac Darius am Medach an rìoghachd, agus e mu thimchioll trì fichead agus dà bhliadhna dh'aois.

CAIB. VI.

B'I toil Dhariuis ceud agus fichead uachdaran a chur os cionn na rìoghachd, muinntir a bhiodh os cionn na rìoghachd uile;

2 Agus os an cionn so trì ard-uachdarain, (do'm b'e Daniel an ceud aon,) a chum gu'n dthugadh na h-uachdarain an cunntais doibh, agus nach biodh calldach air bith aig an rìgh.

3 An sin bha Daniel so air 'ardachadh os cionn nan uachdaran, agus nam prionnsachan, a chionn gu'n robh spiorad òirdheirc ann; agus bha e 'n aire an rìgh a chur os cionn na rìoghachd uile.

4 An sin dh'iarr na h-uachdarain agus na prionnsachan cùis fhaotainn an aghaidh Dhanieil do thaobh na rìoghachd, ach cha b' urradh iad cùis air bith fhaotainn no coire: do bhrìgh gu 'n robh e dìleas, ni mò fhuaireadh mearachd nó coire sam bith ann.

5 An sin thuirt a' mhuinntir so, Cha'n fhaigh sinn cùis air bith an aghaidh an Danieil so, mur faigh sinn i na aghaidh do thaobh reachd a Dhé.

6 An sin chruinnich na h-uachdarain agus na prionnsachan so le chéile chum an rìgh, agus thuirt iad ris mar so, A rìgh Dhariuis mair beo gu bràth.

7 Ghabh uile uachdarain na rìoghachd, an luchd-riaghlaidh, agus na prionnsachan, na comhairlich agus na cinn-fheadhna, comhairle le chéile gu reachd rìoghail a dhaingneachadh, agus ordugh làidir a dheanamh, ge b'e dh'iarras achuinge air bith air aon dia no duine rè deich laithean fichead, ach ortsa, O a rìgh, gu'n tilgear e ann an gàraidh nan leòmhann.

8 A nis, O a rìgh, daingnich an t-ordugh, agus seulaich an sgrìobhadh, a chum nach caochlar e, do réir reachd nam Medach agus nam Persach, nach fheudar atharrachadh.

9 Uime sin sheulaich rìgh Darius an sgrìobhadh agus an t-ordugh.

10 A nis 'nuair a thuig Daniel gu'n deachaidh an sgrìobhadh a sheulachadh, chaidh e chum a thighe, agus air d'a uinneagan a bhi fosgailte na sheòmar ri Ierusalem, thuit e sìos air a ghlùinibh trì uairean anns an latha, agus rinn e urnuigh, agus thug e buidheachas an làthair a Dhia, mar a rinn e san aimsir roimhe.

11 An sin chruinnich na daoine so, agus fhuair iad Daniel ag urnuigh, agus a' deanamh achuinge ann an làthair a Dhia.

12 An sin thàinig iad am fagus, agus labhair iad ann am fianuis an rìgh mu thimchioll orduigh an rìgh, Nach do sheulaich thusa reachd, gach duine sam bith a ni achuinge ri aon dia no duine, an taobh a stigh do dheich laithean fichead, ach riutsa, O a rìgh, gu'n tilgear ann an gàraidh nan leòmhann e? Fhreagair an rìgh, agus thubhairt e, Tha an ni fìor do réir reachd nam Medach agus nam Persach, nach atharruichear.

13 An sin fhreagair iadsan, agus thubhairt iad ann an làthair an rìgh,

Daniel

Daniel sin a ta do chloinn bhruid Iu-
dah, cha'n'eil suim aige dhiotsa, O a
righ, no do'n reachd a sheulaich thu,
ach tha e ri achuinge tri uairean anns
an latha.
14 An sin bha 'n righ, 'nuair a
chual e na briathran, ro-dhiombach
dheth féin, agus shuidhich e a chridhe
air Daniel d'a shaoradh: agus shaoth-
airich e gu dol fuidhe na gréine chum
a thearnadh.
15 An sin chruinnich na daoine so
chum an righ, agus thubhairt iad ris
an righ, Biodh fios agad, O a righ,
gur e lagh nam Medach agus nam
Persach, nach feudar ordugh no reachd
air bith a dhaingnich an righ a
chaochladh.
16 An sin dh'àithn an righ, agus
thug iad leo Daniel, agus thilg iad e
do ghàraidh nan leòmhann: agus là-
bhair an righ ri Daniel, ag ràdh, Do
Dhia, d'am bheil thu a' deanamh
seirbhis do ghnàth, ni esan do thearnadh.
17 Agus thugadh clach, agus leag-
adh air beul a' ghàraidh i, agus sheul-
aich an righ le 'sheula féin i, agus le
seula a thighearnan; a chum nach
biodh a chomhairle air a h-atharrach-
adh mu thimchioll Dhanieil.
18 An sin chaidh an righ d'a lùch-
airt, agus chaith e 'n oidhche ri trasg:
ni mò thugadh inneala ciuil na làth-
air, agus dh'imich a chadal uaith.
19 An sin dh'éirich an righ gu ro-
mhoch anns a' mhaduinn, agus chaidh
e gu luath gu gàraidh nan leòmhann.
20 Agus an uair a thàinig e chum
na gàraidh, ghlaodh e le guth mulad-
ach [a] ri Daniel; *feadh* labhair an righ,
ag ràdh ri Daniel, O Dhanieil, òglaich
an Dé bheo, am bheil do Dhia, d'am
bheil thu a deanamh seirbhis an còmh-
nuidh, comasach air do thearnadh o
na leòmhannaibh.
21 An sin thuirt Daniel, O a righ
mair beo gu bràth.
22 Chuir mo Dhia-sa nuas 'aingeal,
agus dhruid e beoil nan leòmhann, air
chor as nach d'rinn iad mo dhochann:
do bhrìgh na fhianuis gu'n d'fhuair-
eadh neo-chiont annam, agus fòs a'd'
fhianuis-sa, O a righ, cha d'rinn mi
cron sam bith.
23 An sin bha an righ, ro-aoibh-
neach air a shon, agus dh'àithn e gu'n
dthugadh iad Daniel a nìos as a' ghàr-
aidh: mar sin thugadh Daniel a nìos
as a' ghàraidh, agus cha d'fhuaireadh
gnè air bith dochainn air, a chionn
gu'n do chreid e na Dhia.
24 Agus dh'àithn an righ, agus
thug iad leo na daoine sin a rinn cas-
aid air Daniel, agus thilg siad iad do
ghàraidh nan leòmhann, iad féin, an
clann, agus am mnathan; agus thug
na leòmhainn buaidh orra, agus bhris
iad an cnàmhan uile nam bloighdibh,
mu'n d' ràinig iad ìochdar na gàr-
aidh.
25 An sin sgrìobh Darius a chum
nan uile shluagh, chinneach agus chà-
muinean a ta chòmhnuidh air an ta-
lamh uile, Gu robh sìth air a meud-
achadh dhuibh.
26 Tha mise a' toirt orduigh, anns
gach uile thighearnas do m' rìoghachd
gu 'm bi crith agus eagal air daoine
roimh Dhia Dhanieil: oir is esan an
Dia beo, agus bunaiteach gu bràth,
agus a rìoghachd-san cha sgriosar a
chaoidh, agus 'uachdranachd tha gus
a' chrìoch.
27 Saoruidh esan, agus tearnaidh e,
agus oibrichidh e comharan agus
mìorbhuilean air nèamh agus air ta-
lamh, neach a shaor Daniel o chumh-
achd nan leòmhann.
28 Mar so shoirbhich Daniel so ann
an linn Dhariuis, agus ann an linn
Chiruis am Persach.

C A I B. VII.

ANN an ceud bhliadhna Bhelsasair
righ Bhabiloin, chunnaic Da-
niel bruadar, agus aisling a chinn air a
leabaidh: an sin sgrìobh e am bruad-
ar, agus dh'innis e suim nan nithe.
2 Labhair Daniel agus thubhairt e,
Chunnaic mi ann am aisling anns an
oidhche, agus feuch, ghleachd ceithir
ghaotha nèimhe air an fhairge mhòr.
3 Agus thàinig ceithir beathaich-
ean mòra nìos as an fhairge, eag-
samhuil aon o chéile.
4 Bha a' cheud aon cosmhuil ri
leòmhann, agus bha sgiathan iolaire
aige: agus dh'amhairc mi gus an do
spìonadh

[a] *gaointeach.*

ſpìonadh a ſgiathan, agus thogadh ſuas o'n talamh e, agus thugadh air ſeaſamh air a chaſaibh mar dhuine, agus thugadh dha cridhe duine.

5 Agus feuch, beathach eile, an dara aon, coſmhuil ri math-ghamhainn, agus thog e ſuas e féin air aon taobh, agus bha aige tri giala na bheul, an taobh a ſtigh d'a fhiaclan: agus a dubhra ris mar ſo, Eirich, ſluig mòran feòla.

6 Na dhéigh ſo dh'amhairc mi, agus feuch, aon eile amhuil liopard, aig an robh air a dhruim ceithir ſgiathan eoin; bha aig a' bheathach mar an ceudna ceithir chinn; agus thugadh dha uachdranachd.

7 Na dhéigh ſo chunnaic mi ann an aiſlingibh na h-oidhche, agus feuch, ceathramh beathach; eagalach agus uamhaſach, agus ro-làidir; agus bha fiaclan mòra iaruinn aige: ſhluig e ſuas agus bhris e ann am bloighdibh, agus ſhaltair e 'm fuighleach l'a chaſaibh; agus bha e ea-coſmhuil ris na h-uile bheathaichean a bha roimhe; agus bha deich adhaircean air.

8 Thug mi fainear na h-adhaircean, agus feuch, thàinig a nìos nam meaſg adharc bheag eile, roimh an robh tri do na ceud adhaircibh air an ſpìonadh a nìos as am freumhaibh: agus feuch, anns an adharc ſo bha sùilean mar ſhùilean duine, agus beul a' labhairt nithe mòra.

9 Dh'amhairc mi gus an robh na rìgh-chaithrichean air an ſuidheachadh, agus ſhuidh Aoſda nan laithean, aig an robh a thruſgan geal mar ſhneachda, agus folt a chinn mar olainn ghlain; a chaithir-rioghail *mar* laſair theine, a rothan *mar* theine-loiſgeach.

10 Bhrùchd ſruth teinteach, agus thàinig e mach o 'làthair: bha mìle do mhìltibh a' frithealadh dha, agus ſheas deich mìle uair deich mìle na fhianuis: ſhuidhicheadh am breitheanas, agus dh'fhoſgladh, na leabhraichean.

11 Dh'amhairc mi 'n ſin, do bhrìgh guth nam briathran mòr' a labhair an adharc: dh'amhairc mi gus an do mharbhadh am beathach, agus gus an robh a chorp air a ſgrios, agus air a thoirt do'n laſair loiſgich.

12 A' thaobh na cuid eile do na beathaichibh, thugadh an uachdranachd air falbh: gidheadh ſhìneadh am beatha, rè tamuill agus aimſire.

13 Chunnaic mi ann an aiſlingibh na h-oidhche, agus feuch, thàinig neach coſmhuil ri mac an duine le neulaibh nèimh, agus thàinig e chum Aoſda nan laithean, agus thug iad e dlù na làthair.

14 Agus thugadh dha uachdranachd, agus glòir, agus rioghachd, a chum gu'n dthugadh na h-uile ſhluagh, chinneacha, agus teanganna, dha ſeirbhis: 'uachdranachd is uachdranachd ſhìorruidh, nach ſiubhail thairis i, agus a rioghachd cha ſgrioſar i.

15 Bha miſe Daniel muladach ann am ſpiorad, ann am meadhon mo chuirp, agus rinn aiſlinge mo chinn mo bhuaireadh.

16 Thàinig mi am fagus do aon dhiubhſan a ſheas dlù, agus dh'fheòruich mi dheth brìgh an iomlain deth ſo: an ſin dh'innis e dhomh, agus thug e fios dhomh air brìgh nan nithe.

17 Na ceithir beathaiche mòra ſo, is ceithir righrean iad, a dh'éireas a mach as an talamh.

18 Ach glacaidh naoimh an Ti a's airde an rioghachd, agus ſealbhaichidh iad an rioghachd gu ſiorruidh, eadhon gu ſaoghal nan ſaoghal.

19 An ſin b'àill leam fios fhaotainn air feadh a' cheathramh beathaich, a bha eag-ſamhuil ri càch uile, anbharr uamhaſach, aig an robh 'fhiacla do iarunn, agus 'iongannan do phrais, a ſhluig ſuas, a bhris ann am bloighdibh, agus a ſhaltair am fuighleach le 'chaſaibh.

20 *Seadh* fòs nan deich adharca bha na cheann, agus na h-aon eile a thàinig a nìos, agus roimh an do thuit tri, eadhon na h-adhairce ſin aig an robh sùilean, agus beul a labhair nithe ro-mhòr, aig an robh ſealla ni bu chruadalaiche na càch.

21 Dh'amhairc mi, agus rinn an adharc cheudna cogadh ris na naoimh, agus bhuadhaich i nan aghaidh;

22 Gus an d' thàinig Aosda nan
laithean, agus an d'thugadh breithean-
as do naoimh an Ti a's airde; oir
thàinig an t-àm anns an do shealbh-
uich na naoimh an rioghachd.
23 Mar so thubhairt e, Is e an
ceathramh beathach an ceathramh
rioghachd a bhios air an talamh,
a bhios eag-samhuil o na h-uile
rioghachd, agus a shluigeas suas an
talamh uile, agus a shaltras sìos e, a-
gus a bhriseas e na bhloighdibh.
24 Agus na deich adhaircean as an
rioghachd so, is deich righrean iad a
dh'éireas suas: agus éiridh aon eile
nan déigh, agus bidh e eag-samhuil o
'n cheud aon, agus ceannsuichidh e tri
righrean.
25 Agus labhraidh e briathran an
aghaidh an Ti a's airde, agus claoidh-
idh e naoimh an Ti a's airde, agus
bidh dùil aige aimsirean agus reachd-
an a chaochladh: agus bheirear iad
d'a làimh gu aimsir, agus aimsirean,
agus roinn aimsire.
26 Ach suidhidh am breitheanas,
agus bheir iad air falbh a thighearnas,
gu 'chaitheamh, agus gu a sgrios gu
ruig a' chrìoch.
27 Agus bheirear an rioghachd a-
gus an uachdranachd, agus mòrachd
na rioghachd fuidh nèimh uile, do
mhuinntir naomh an Ti a's ro-airde,
aig am bheil a rioghachd na riogh-
achd shìorruidh, agus bheir na h-uile
thighearnais umhlachd agus géill da.
28 An so bha crìoch na cùise. Air
mo shon-sa Daniel, rinn mo smaointe
gu ro-mhòr mo bhuaireadh, agus dh'
atharruich mo ghnùis annam; ach
ghléidh mi a' chùis ann am chridhe.

C A I B. VIII.

ANNS an treas bliadhna do linn
righ Bhelsasar, chunnacas aisling
leamsa, leamsa Daniel, an déigh *na h-
aisling* sin a chunnacas leam an tois-
each.
2 Agus chunnaic mi ann an aisling,
(agus tharladh tra chunnaic mi, gu'n
robh mi ann an Susan, anns an àros, a
ta ann am mòr-roinn Elaim,) agus
chunnaic mi ann an aisling, agus bha
mi aig abhainn Ulai.
3 An sin thog mi suas mo shùilean,
agus chunnaic mi, agus feuch, sheas fa
chomhair na h-aibhne reithe, aig an
robh dà adhairc, agus bha an dà adh-
airc ard; ach aon ni b'airde na 'n aon
eile; agus thàinig an aon a b'airde
nìos mu dheire.
4 Chunnaic mi an reithe a' purr-
adh le 'adhaircibh an iar, agus mu
thuath, agus mu dheas; air chor as
nach feudadh beathach air bith seas-
amh fa chomhair, ni mò *bha neach ann*
a b'urradh saoradh as a làimh, ach
rinn e do réir a thoile, agus dh'fhàs e
mòr.
5 Agus am feadh a bha mi a'
beachdachadh, feuch, thàinig boc-
gaibhre o 'n aird an iar, air aghaidh
na talmhainn uile, agus cha do bhean e
do 'n làr: agus bha adharc shònraicht
aig a' bhoc eadar a shùilean.
6 Agus thàinig e chum an reithe
aig an robh dà adhairc, a chunnaic
mi na sheasamh fa chomhair na h-
aibhne, agus ruith e d'a ionnsuidh ann
an cuthach a threise.
7 Agus chunnaic mi e teachd teann
air an reithe, agus dhùisg 'fhearg na
aghaidh, agus bhuail e 'n reithe, agus
bhris e a dhà adhairc; agus cha robh
cumhachd air bith aig an reithe gu
seasamh roimhe, ach thilg e sìos a
chum an làir e, agus shaltair e air: a-
gus cha robh neach air bith a b'urradh
an reithe a thearnadh as a làimh.
8 Air an aobhar sin dh'fhàs am
boc-gaibhre ro-mhòr, agus 'nuair a
bha e làidir, chaidh an adharc mhòr a
bhriseadh; agus na h-àite thàinig a
nìos ceithir adharca sònraichte, ri
ceithir ghaothaibh nèimhe.
9 Agus a mach as aon diubh thàin-
ig adharc bheag, a dh'fhàs anbharr
mòr, ris an airde deas, agus ris an
aird an ear, agus ris an tìr thaitnich.
10 Agus dh'fhàs i mòr gu ruig
feachd nèimh, agus thilg i sìos cuid
do 'n fheachd, agus do na reultaibh a
chum an làir, agus shaltair i orra.
11 Seadh rinn i uaill aisde féin an
aghaidh prionnsa an fheachd, agus
leatha thugadh air falbh an ìobairt
lathail, agus bha àite a naomh-ionaid
air a thilgeadh sìos.
12 Agus thugadh feachd dh'i 'n
aghaidh *na h-ìobairt* lathail, do bhrìgh
ea-

ea-ceirt, agus thilg i sios an fhirinn
a chum an làir, agus dhealbh i inn-
leachdan, agus shoirbhich i.
13 An sin chuala mi aon naomh a'
labhairt, agus thuirt naomh eile ris an
naomh àraid sin a labhair, Cia fhad a
bhios an aisling mu thimchioll *na h-
ìobairt* lathail, agus a bheirear thairis
ea-ceart gu milleadh, agus a bhios an
naomh-ionad agus am feachd air an
saltairt fa chois?
14 Agus thuirt e rium, Gu dà
mhìle agus tri cheud latha: an sin
glanar an naomh-ionad.
15 Agus tharladh an uair a chunn-
aic mise, mise Daniel, an sealladh, a-
gus a dh'iarr mi air son na brìgh, an
sin feuch, sheas fa 'm chomhair amh-
uil coslas duine.
16 Agus chuala mi guth duine
eadar *bhruachan* Ulai, a ghlaodh, agus
a thubhairt, A Ghabrieil, thoir air *an
fhear* so an sealladh a thuigsinn.
17 Agus thàinig e dlù do'n àite
san do sheas mi: agus 'nuair a thàinig
e, bha eagal orm, agus thuit mi air
m' aghaidh: ach thuirt e rium, Tuig,
O mhic an duine, oir anns an aimsir
dheireannaich *bithidh* an sealladh.
18 A nis, am feadh a bha e labhairt
rium, bha mi ann an cadal trom, air
m' aghaidh ris an talamh: ach bhean
e dhomh, agus chuir e suas gu direach
mi.
19 Agus thubhairt e, Feuch, bheir
mise fios duit ciod a thachras ann an
crìch dheireannaich na dian-fheirge:
oir anns an àm a shonraicheadh thig
a' chrìoch.
20 An reithe a chunnaic thu, aig
an robh dà adhairc, is iad sin righrean
Mhedia agus Phersia.
21 Agus a' ghabhar ribeach is e sin
righ na Greige, agus an adharc mhòr
a ta eadar a shùilean, is e sin an ceud
righ.
22 A nis, air dha sin briseadh, mar
a sheas ceithir suas na àite, seasaidh
ceithir rioghachdan suas as a' chinn-
each, ach cha 'n ann na neart-san.
23 Agus ann an aimsir dheireann-
aich an rioghachd, 'nuair a bhios luchd
an easaontais air an coilionadh, seas-
aidh suas righ aig am bi aghaidh
bhorb, agus a thuigeas briathran
dorcha.
24 Agus bidh a neart cumhachd-
ach, ach cha 'n ann le 'threise féin:
agus sgriosaidh e gu h-iongantach, a-
gus soirbhichidh leis, agus bheir e gu
crìch, agus millidh e na cumhachd-
aich agus an sluagh naomh.
25 Agus trid a sheòltachd fòs bheir
e air ceilg soirbheachadh na làimh,
agus ni e uàill as féin na chridhe, a-
gus le foill sgriosaidh e mòran: seas-
aidh e fòs suas an aghaidh prionnsa
nam prionnsachan, ach brisear e as
eugmhais làimhe.
26 Agus tha aisling nan laithean [a],
a chaidh innseadh, fior: air an aobhar
sin druid thusa suas an sealladh, oir
bithidh e 'n ceann mhòran laithean.
27 Agus ormsa Daniel thàinig fàil-
inn, agus bha mi tinn car laithean
àraid; na dhéigh sin, dh'éirich mi
suas, agus rinn mi gnothaichean an
righ, agus bha uamhas orm mu'n
aisling, ge nach d'thug aon neach *sin*
fainear.

CAIB. IX.

ANN an ceud bhliadhna Dhariuis
mhic Ahasueruis, do shìol nam
Medach, a rinneadh na righ os cionn
rioghachd nan Caldéach;
2 Anns a' cheud bhliadhna d'a linn-
san, thuig mise Daniel, le leabhraich-
ean, àireamh nam bliadhnachan, mu'n
d' thàinig focal an Tighearna gu Iere-
miah am fàidh, gu'n coilionadh e
deich agus tri fichead bliadhna sam
biodh Ierusalem na làraichibh.
3 Agus chuir mi m' aghaidh ris an
Tighearn Dia, d'a iarruidh le urnuigh
agus le achuinge, le trasg, agus le
eudach saic, agus le luaithre.
4 Agus rinn mi urnuigh ris an
Tighearn mo Dhia, agus rinn mi m'
aidmheil, agus thubhairt mi, O Thigh-
earn, an Dia mòr agus uambasach, a
ta cumail coimhcheangail agus tròcair
riusan a ghràdhaicheas e, agus do 'n
dream a choimhdeas 'aitheantan:
5 Pheacaich sinne, agus chuir sinn
an gnìomh ea-ceart, agus rinn sinn
gu

[a] *an fheasgair agus na maidne.* Eabh.

h-aingidh, agus bhà sinn ceannairceach, eadhon le dealàchadh ri d' àithneantaibh agus ri d' bhreitheanais.

6 Ni mò dh'éisd sinn ri d' sheirbhisich na fàidhean, a labhair ann ad ainm-sa ri'r righribh, ri'r n-uachdaranaibh, agus ri'r n-aithrichibh, agus ri uilè shluagh an fhearainn.

7 O Thighearn, *buinidh* fireantachd dhuit-sa, ach dhuinne nàire gnùise, mar air an là an diugh: do mhuinntir Iudah, agus do luchd-àiteachaidh Ierusaleim, agus do uile Israel, am fagus agus fad as, feadh nan uile dhùchannan gus an d'fhògair thus' iad, air son am peacannan a pheacaich iad ann ad aghaidh-sa.

8 O Thighearn, dhuinne *buinidh* nàire gnùise, do 'r righribh, do 'r prionnsachan, agus do 'r n-aithrichibh, a chionn gu'n do pheacaich sinn ad aghaidh.

9 Do 'n Tighearn ar Dia *buinidh* tròcairean agus maitheanais, ge do rinn sinne ar a mach na aghaidh.

10 Ni mò thug sin géill do ghuth an Tighearna ar Dia, a chum gluasad na reachdaibh a chuir e romhainn le 'sheirbhisich na fàidhean.

11 Seadh bhris Israel uile do reachd, eadhon le dol a thaoibh, a chum nach dthugadh iad géill do d' ghuth; air an aobhar sin tha am mallachd air a dhòrtadh oirnn, agus an truaighe a ta sgrìobhta ann an lagh Mhaois òglaich Dhé, a chionn gu'n do pheacaich sinn na aghaidh.

12 Agus dhaingnich e a bhriathran a labhair e 'n ar n-aghaidh, agus an aghaidh ar breitheachan a thug breith oirnn, le dòrainn mhòr a thoirt oirnn; oir fuidh nèamh uile cha d'rinneadh mar a rinneadh air Ierusalem.

13 Mar a ta e sgrìobhta ann an lagh Mhaois, tha an t-olc so uile air teachd oirnn; gidheadh cha d'rinn sinn ar n-urnuigh an làthair an Tighearna ar Dia, a chum gu'm bitheamaid air ar pilleadh o'r n-eaceartaibh, agus gu'n tuigeamaid d'fhirinn.

14 Uime sin rinn Dia faire air an olc, agus thug e oirnn e: oir tha an Tighearn ar Dia ceart na uile oibribh ata e deanamh: oir cha d'thug sinne géill d'a ghuth.

15 Agus a nis, O Thighearn ar Dia, a thug do shluagh a mach a talamh na h-Eiphit le làimh chumhachdaich, agus a fhuair dhuit féin cliù, mar air an là an diugh, pheacaich sinne, rinn sinn gu h-aingidh.

16 O Thighearn, do réir d' uile fhireantachd, guidheam ort, leig le d' chorruich agus le d'fheirg pilleadh air falbh o d' chathair Ierusalem, do shliabh naomh: a chionn, air son 'ar lochdan, agus air son aingidheachdan ar n-aithrichean, gu bheil Ierusalem agus do shluagh nam masladh do na h-uile mu'n cuairt duinn.

17 A nis, uime sin, O ar Dia, éisd urnuigh d'òglaich, agus 'achuinge, agus thoir air do ghnùis dealradh air d'ionad naomh a ta na làthraich air sgà an Tighearna.

18 O mo Thighearn, crom do chluas agus cluinn; fosgail do shùilean, agus faic ar sgaoileadh, agus a' chathair a ta air a gairm air d'ainm: oir cha 'n 'eil sinn a' taisbeanadh ar n-achuingean a'd' làthair air son ar n-ionracais, ach air son do mhòir thròcair féin.

19 O Thighearn, éisd, O Thighearn, maith, O Thighearn, cluinn agus dean, na dean maille, air do shon féin, O mo Dhia: oir tha do chathair agus do shluagh air an gairm air d' ainm.

20 Agus am feadh a bha mi a' labhairt, agus ag urnuigh, agus ag aideachadh mo lochd, agus lochd mo shluaigh Israeil, agus a' taisbeanadh m' achuinge an làthair an Tighearna mo Dhia, air son sléibh naomha mo Dhé:

21 Seadh, am feadh a bha mi a' labhairt ann an urnuigh, an neach ceudna, a chunnaic mi anns an aisling air tùs, Gabriel air an d'thugadh itealuich gu luath, bhean rium mo àm na h-iobairt fheasgair.

22 Agus thug e fios dhomh, agus labhair e rium, agus thubhairt e, O Dhanieil, tha mise nis air teachd a mach a thoirt duit gliocais agus tuigse.

23 Aig toiseach d'achuinge thàinig an àithn' a mach, agus thàinig mise a dh'fheuchainn *duit:* oir tha thu air do

ghràdh-

ghràdhachadh gu ro-mhòr: uime sin,
tuig a' chùis, agus thoir sainear an
aisling.
24 Tha deich agus tri fichead
seachduin air an orduchadh air do
shluagh, agus air a' chathair naomh, a
chrìochnachadh ea-ceirt, agus a chur
crìch air lochdan, agus a dheanamh
réite air son aingidheachd, agus a
thoirt a steach fireantachd shìorruidh,
agus a sheulachadh suas na h-aislinge
agus na fàisneachd, agus a dh' ung-
adh an Ti a's ro-naomha.
25 Aithnich uime sin, agus tuig, o
dhol a mach na h-àithne, gu Ierusa-
lem aiseag agus a thogail suas, gu
Mesiah am Prionnsa, gu 'm bi seachd
seachduinean, agus tri fichead agus dà
sheachduin: togar an t-sràid a rìs a-
gus am balla, eadhon ann an aimsiribh
carraideach.
26 Agus an ceann nan tri fichead
agus dà sheachduin, gearrar Mesiah
as, ach cha'n ann air a shon féin: a-
gus sgriosaidh sluagh a' phrionnsa a
thig a' chathair, agus an naomh-ionad,
agus bidh a chrìoch sin le tuil, agus
gu deireadh a' chogaidh tha léir-sgrios
air a h-orduchadh.
27 Agus daingnichidh esan an
coimhcheangal ri mòran car aon
seachduin, agus ann am meadhon na
seachduin bheir e air an ìobairt agus
air an tabhartas sgur; agus anns an
teampull bidh gràinealachd an léir-
sgrios, gus an coilionar an sgrios a dh'
orduicheadh, air a làraich fhàsail.

CAIB. X.

ANN an treas bliadhna Chiruis
righ Phersia, dh'fhoillsicheadh
ni do Dhaniel, (do 'm b' ainm Belte-
sasar,) agus bha an ni fìor, agus mu
thimchioll feachd mhòir: agus thuig
e a' chùis, oir bha e eòlach ann an
sealladh.
2 Anns na laithibh sin bha mise
Daniel ri bròn tri seachduinean iom-
lan.
3 Cha d'ith mi aran taitneach air
bith, ni mò thàinig feoil no fìon ann
am bheul, ni mò dh' ung mi mi féin
idir, gus an robh tri seachduinean
iomlan air an coimhlionadh.
4 Agus air a' cheathramh là fichead
do 'n cheud mhìos, an uair a bha mi
ri taobh na h-aibhne mòire, Hidecel;
5 An sin thog mi suas mo shùilean,
agus dh'amhairc mi, agus feuch, duine
àraid ann an eudach lìn, aig an robh
a leasruidh crioslaichte le òr grinn
Uphais:
6 Bha a chorp fòs cosmhuil ri be-
ril, agus a ghnùis mar dhreach dealan-
aich, agus a shùilean mar lòchrann
teine, agus a ghairdeanan agus a
chasan cosmhuil ann an dath ri umha
lìomhta, agus fuaim a bhriathran cos-
mhuil ri guth sluaigh mhòir.
7 Agus chunnaic mise Daniel a
mhàin an sealladh: oir cha 'n fhaca
na daoine bha maille rium an seall-
adh: ach thuit crith mhòr orra, ionn-
us gu 'n do theich iad gu iad féin
fholach.
8 Air an aobhar sin dh'fhàgadh
mise ann am aonar, agus chunnaic mi
an sealladh mòr so, agus cha d'fhan
cumhachd air bith annam: oir dh'
atharraicheadh annam mo mhaise gu
duaichneachd, agus cha do mhair
neart annam.
9 Gidheadh chuala mi fuaim a
bhriathran: agus an uair a chuala mi
fuaim a bhriathran, an sin bha mi ann
an cadal trom air m' aghaidh, agus m'
aghaidh ris an làr.
10 Agus feuch, bhean làmh rium,
a chuir mi air mo ghlùinibh, agus air
basaibh mo làmh.
11 Agus thuirt e rium, O Dhaniel, a
dhuine ro-ionmhuinn, tuig na briathr-
an a ta mis' a' labhairt riut, agus
éirich ann ad sheasamh: oir do d'
ionnsuidh-sa tha mi nis air mo chur.
Agus an uair a labhair e am focal so
rium, sheas mi air chrith.
12 An sin thuirt e rium, Na biodh
eagal ort, a Dhaniel; oir o'n cheud
là san do shuidhich thu do chridhe
chum tuigsinn, agus chum thu féin
irisleachadh ann an làthair do Dhia,
bha do bhriathran air an cluinntinn,
agus tha mise air teachd air son do
bhriathran.
13 Ach sheas prionnsa rìoghachd
Phersia ann am aghaidh là thar fhich-
ead: ach feuch, thàinig Michael, aon
do

do na h-ard phrionnsachan gu m'
chòghnadh, agus dh'fhan mi an sin le
righribh Phersia.
14 A nis tha mi air teachd a thoirt
ort a thuigsinn ciod a thachras do d'
shluagh anns na laithibh deireannach:
oir tha an sealladh fathasd rè *mhòran*
laithean.
15 Agus an uair a labhair e 'n
leithide so do bhriathraibh rium, chuir
mi m' aghaidh ris an làr, agus bha mi
ann am thosd.
16 Agus feuch, bhean neach cos-
mhuil ri samhladh mhaca dhaoine ri m'
bhilibh; an sin dh'fhosgail mi mo
bheul, agus labhair mi, agus thubhairt
mi ris-san a sheas fa 'm chomhair, O
mo thighearn, leis an t-sealladh, tha
m' amhghar air pilltinn orm, agus
thréig mo neart mi.
17 Oir cionnus a dh'fheudas òglach
an ti so mo thighearna labhairt ris an
ti so mo thighearn? oir air mo shon-
sa, air ball cha d' fhan neart air bith
annam, ni mò a dh'fhàgadh anail ann-
am.
18 An sin thàinig a rìs agus bhean
rium, neach cosmhuil ri samhladh
duine, agus neartuich e mi,
19 Agus thubhairt e, O dhuine ro-
ionmhuinn, na biodh eagal ort, sìth
dhuit, bi làidir, seadh bi làidir. Agus
an uair a labhair e rium, neartuich-
eadh mi, agus thubhairt mi, Labh-
radh mo thighearn; oir rinn thu mo
neartachadh.
20 An sin thubhairt e, Am bheil
fios agad c' ar son a thàinig mi do d'
ionnsuidh? agus a nis pillidh mi gu
cogadh ri prionnsa Phersia: agus an
uair a théid mis' a mach, feuch, thig
prionnsa na Gréige.
21 Ach nochdaidh mi dhuit an ni
sin a ta comharaicht' ann an sgrioptur
na firinn: agus cha 'n 'eil aon a chuir-
eas leamsa anns na nithe so ach Mi-
chael 'ur prionnsa-sa.

C A I B. XI.

AGUS ann an ceud bhliadhna
Dhariuis a' Mhedich, sheas
mise gu 'dhaingneachadh agus gu
'neartachadh.
2 Agus a nis foillsichidh mi dhuit
an fhirinn, Feuch, seasaidh suas fath-
asd tri righrean ann am Persia, agus
bidh an ceathramh ni 's beartaiche gu
mòr na iad uile: agus le 'chumhachd,
trìd a bheartais, dùisgidh e suas na
h-uile 'n aghaidh rioghachd na
Gréige.
3 Agus seasaidh righ cumhachdach
suas a riaghlas le tighearnas mòr, agus
a ni do réir a thoile féin.
4 Agus an uair a sheasas e suas,
brisear a rioghachd, agus roinnear i ri
ceithir ghaothaibh nèimhe; agus cha
'n ann d' a shliochd, no do réir a
thighearnais, leis an do riaghlaich e:
oir bidh a rioghachd air a spìonadh a
nìos, eadhon air son muinntir eile a
bharrachd orra so.
5 Agus bidh righ na h-airde deas
làidir, ach bidh aon do na prionnsach-
aibh eadhon ni 's làidire na esan; a-
gus bidh aige tighearnas ni 's mò na
'thighearnas-san.
6 Agus an ceann bhliadhnachan
ceanglaidh siad iad féin r'a chéile; oir
thig nighean righ na h-airde deas a
chum righ na h-airde tuath a dhean-
amh réite eatorra: ach cha ghléidh i
cumhachd a ghairdein, ni mò sheasas
i féin no a sliochd: ach bheirear ise
seachad, agus iadsan a thug leo i, a-
gus esan a ghin i, agus esan a neart-
uich i anns na h-aimsiribh so.
7 Ach a mach a meangan d'a
freumh seasaidh aon suas na inbhe, a
thig le feachd, agus a théid a steach
gu daingneach righ na h-airde tuath,
agus cuiridh e nan aghaidh, agus bheir
e buaidh:
8 Agus bheir e fòs nam braighd-
ean do 'n Eiphit, an dée, maille ri'm
prionnsaibh, agus ri 'n soithichibh
luachmhor airgid agus òir, agus buan-
aichidh e tuille bhliadhnachan na righ
na h-airde tuath.
9 Mar sin thig righ na h-airde deas
d'a rioghachd-san, agus pillidh e g'a
dhùthaich féin.
10 Ach bidh a mhic air an dùsgadh
suas, agus cruinnichidh iad sluagh do
fheachdaibh mòra: agus thig *aon* gu
deimhin, agus sgaoilidh e thairis, agus
imichidh e trìd: an sin pillidh e, a
gus dùisgear suas e, gu ruig a
dhaingnich.
11 Agus lìonar righ na h-airde
deas

deas le feirg, agus thig e mach, agus
cogaidh e ris, *eadhon* ri righ na h-airde
tuath: agus cuiridh e mach sluagh
mòr, ach bheirear am mòr-shluagh
thairis d'a làimh-san.
12 Agus 'nuair a bheir e air falbh
am mòr-shluagh, bidh a chridh' air
a thogail suas, agus tilgidh e sìos deich
miltean; gidheadh cha neartuichear
e.
13 Oir pillidh righ na h-airde tuath,
agus cuiridh e sluagh mòr a mach, a's
mò na cheud sluagh, agus thig e gu
cinnteach (an déigh bhliadhnachan
àraid) le feachd mòr, agus le pailteas
saibhreis.
14 Agus anns na h-aimsiribh sin
seasaidh mòran suas an aghaidh righ
na h-airde deas: mar an ceudna ni
luchd-creachaidh mo shluaigh-sa iad
féin ardachadh a chum an sealladh a
dhaingneachadh, ach tuitidh iad.
15 Mar sin thig righ na h-airde
tuath, agus tilgidh e suas torr, agus
glacaidh e na bailtean a's làidire, agus
cha seas gairdeana na h-airde deas na
aghaidh, no a shluagh taghta, ni mò
bhios neart air bith a chuireas na
aghaidh.
16 Ach ni esan a thig na aghaidh
do réir a thoile féin, agus cha seas
neach air bith roimhe; agus seasaidh
e san tìr ghlòr-mhoir, a bhios air a
sgrios le 'làimh.
17 Suidhichidh e fòs 'aghaidh gu
dol a steach le neart a rioghachd uile,
agus daoine ionraic maille ris: mar so
ni e; agus bheir e dha nighean nam
ban d'a truailleadh: ach cha seas i
air a thaobh-san, ni mò bhios i air a
shon.
18 Na dhéigh so tionndaidhidh e
'aghaidh ris na h-eileanaibh, agus glac-
aidh e mòran: ach bheir prionnsa air
a shon féin fainear gu'n sguir am
masladh a thug e uaith: gun mhasladh
dha féin bheir e air pilleadh airsan.
19 An sin tionndaidhidh e 'aghaidh
ri daingneach a thìre féin: ach gheibh
e tuisleadh agus leagadh, agus cha bhi
e ri fhaotainn.
20 An sin seasaidh suas na àite aon
a chuireas fear-togail chìsean thar an
rioghachd ghlòrmhoir; ach an ceann
bheagan laithean sgriosar e, cha 'n ann
an corruich no an cath.
21 Agus na àite-san seasaidh suas
neach suarrach, do nach dthoir iad
onoir na rioghachd: ach thig e steach
gu sìothchaill, agus gheibh e 'n riogh-
achd le miodal.
22 Agus gairdeana na tuile bàthar
as a làthair, agus brisear iad; seadh,
fòs prionnsa a' choimhcheangail.
23 Agus an déigh na réite ris, buin-
idh e gu cealgach; agus thig e nìos,
agus fàsaidh e làidir le sluagh beag.
24 Théid e steach gu sìothchail
eadhon air na h-ionadan a's fearr do'n
mhòr-roinn, agus ni e an ni nach d'rinn
'àithrichean, no aithrichean 'aithrich-
ean; sgapaidh e nam measg a'
chreach, agus a' chobhartach, agus an
saibhreas: agus dealbhaidh e 'inn-
leachdan an aghaidh nan daingnichean
làidir, eadhon rè seal.
25 Agus dùisgidh e suas a chumh-
achd agus a chruadal, an aghaidh righ
na h-airde deas le feachd mòr; agus
bidh righ na h-airde deas air a dhùisg-
adh suas gu cath, le feachd ro-mhòr
agus cumhachdach; ach cha seas e:
oir dealbhaidh iad innleachdan na
aghaidh.
26 Seadh marbhaidh iadsan a dh'
itheas cuibhrionn d'a bhiadh e, agus
sgaoilidh 'fheachd a mach mar thuil:
agus tuitidh mòran sìos marbh.
27 Agus bidh cridheachan nan
righrean so araon air aimhleas a
dheanamh, agus labhraidh iad breug-
an air aon bhord; ach cha soirbhich
sin; oir fathasd bidh a' chrìoch anns an
àm a shònraicheadh.
28 An sin pillidh esan gu 'dhùth-
aich le saibhreas mòr, agus bidh a
chridhe 'n aghaidh a' choimhcheangail
naomha: agus an déigh so a dhean-
amh, pillidh e gu 'thìr féin.
29 Anns an àm a shonraicheadh
pillidh e, agus thig e ris an airde deas;
ach cha bhi na nithe ma dheire mar
na ceud nithe.
30 Oir thig longa Chitim na agh-
aidh: air an aobhar sin bidh doilghios
air, agus pillidh e, agus bidh fearg air
an aghaidh a' choimhcheangail naomh-
a: mar sin ni e, eadhon pillidh e, a-
gus

gus cumaidh e bàigh riu-san a thréig-
eas an coimhcheangal naomh.
31 Agus seasaidh lâmhan air a
thaobh, agus truaillidh iad naomh-
ionad an neirt, agus bheir iad air falbh
an ìobairt lathail, agus suidhichidh iad
a' ghràinealachd a chuireas fàs.
32 Agus a' mhuinntir a ni gu h-olc
an aghaidh a' choimhcheangail truaill-
idh e le sodal [a]: ach an sluagh aig am
bheil eòlas air an Dia, bidh iadsan
làidir, agus ni iad gu treun.
33 Agus iadsan aig am bheil tuigse
am measg an t-sluaigh, teagaisgidh iad
mòran: gidheadh tuitidh iad leis a'
chlaidheamh, agus leis an lasair, le
bruid, agus le creich, rè mòrain laith-
ean.
34 A nis 'nuair a thuiteas iad, cuid-
ichear iad le beagan cuideachaidh:
ach leanaidh mòran riu le miodal.
35 Agus tuitidh cuid dhiubhsan aig
am bheil tuigse, chum an dearbhadh,
agus an glanadh, agus an deanamh
geal, eadhon gu àm na crìche; a
chionn gu bheil e fathasd air son àm
a shonraicheadh.
36 Agus ni an rìgh do réir a thoile
féin, agus ardaichidh se e féin, agus
togar e na mhòr-chuis os cionn gach
dé, agus labhraidh e nithe iongantach
an aghaidh Dhé nan dée, agus soir-
bhichidh leis gus an coimhlionar a'
chorruich: oir nithear an ni sin a dh'
orduicheadh.
37 Ni mò bhios suim aige do dhia
'aithrichean, no do thoil bhan, no
suim do dhia air bith: oir meudaich-
idh se e féin os cionn nan uile.
38 Ach na àite bheir e onoir do'n
dia Mahusim: agus do dhia nach b'
aithne d'a aithrichean bheir e onoir
le h-òr agus airgiod, agus clachaibh
rìomhach, agus nithibh taitneach.
39 Mar so ni e; do luchd-coimhid
Mhahusim, dhé choimhich, a ta esan
ag aideachadh, bheir e onoir mhòr,
agus bheir e orra riaghladh thar mòr-
an; agus roinnidh e 'm fearann air
son duaise.
40 Agus an àm na crìche ni rìgh
na h-airde deas a phurradh, agus thig
rìgh na h-airde-tuath na aghaidh mar
chuairt-ghaoith, le carbadaibh, agus le
marcachaibh, agus le mòran longa; a-
gus théid e steach do na dùchannaibh,
agus sgaoilidh e mar thuil, agus
siùbhlaidh e thairis.
41 Théid e fòs a steach do'n tìr
ghlòrmhor, agus bidh mòran dhùch-
annan air an tilgeadh bun os cionn;
ach théid iad so as o 'làimh, Edom,
agus Moab, agus iogha cloinne A-
moin.
42 Sìnidh e fòs a mach a làmh air
na dùchannaibh, agus cha dthéid tìr
na h-Eiphit as.
43 Ach bidh cumhachd aige os
cionn nan ionmhasan òir agus airgid,
agus os cionn uile nithe rìomhach na
h-Eiphit: agus bidh na Libiaich agus
na h-Etiopaich air a lorg.
44 Ach ni sgeul o'n aird an ear, a-
gus o'n àirde tuath a bhuaireadh: air
an aobhar sin théid e mach le corruich
mhòir gu sgrios, agus gu mòran a
mhilleadh gu tur.
45 Agus suidhichidh e pailliunan a
lùchairte eadar na cuantan, anns an t-
sliabh ghlòrmhor naomh; gidheadh
thig e gu 'chrìch, agus cha chuidich
neach air bith leis.

C A I B. XII.

AGUS anns an àm sin seasaidh
Michael suas, am prionnsa mòr
a ta seasamh air son cloinne do
shluaigh-sa, agus bidh aimsir carraid
ann, mar nach robh riamh o bha cinn-
each ann, gus an uair sin féin: agus
anns an àm sin saorar do shluagh-sa,
gach aon a gheibhear sgrìobhta san
leabhar.
2 Agus dùisgidh mòran dhiubhsan
a ta nan cadal ann an duslach na
talmhainn, cuid gu beatha shìorruidh,
agus cuid gu nàire agus masladh bith-
bhuan.
3 Agus dealraidh iadsan a ta glic
mar shoilleireachd nan speur; agus
iadsan a thionndas mòran gu fìreant-
achd mar na reultan fad saoghail nan
saoghal.
4 Ach thusa, O Dhaniell, druid
suas na briathran, agus seulaich an
leabhar, gu àm na crìche: ruithidh
mòran

[a] *miodal, brosgal.*

mòran sìos agus suas, agus bidh eòlas
air a mheudachadh.

5 An sin dh'amhairc mise Daniel,
agus feuch, sheas dithis eile, aon air
an taobh so do bhruaich na h-aibhne,
agus aon air an taobh eile do bhruaich
na h-aibhne.

6 Agus thuirt neach ris an duine
bha sgeudaichte le lìon-eudach, a bha
air uisgeachaibh na h-aibhne, Cia fhad
a bhitheas gu crìch nan iongantas
so?

7 Agus chuala mi an duine bha
sgeudaichte le lìon-eudach, a bha air
uisgeachaibh na h-aibhne, 'nuair a thog
e suas a làmh dheas agus a làmh chlì
gu nèamh, agus a mhionnaich e air-
san a ta beo gu sìorruidh, gu 'm bi e
gu aimsir, agus aimsirean, agus leth
aimsire: agus 'nuair a sguireas e do
sgapadh feachd an t-sluaigh naomha,
crìochnaichear na nithe so uile.

8 Agus chuala mi, ach cha do thuig
mi: an sin thubhairt mi, O mo
Thighearn, ciod a' chrìoch *a bhios* aig
na nithe so?

9 Agus thubhairt e, Imich romh-
ad, a Dhanieil: oir tha na briathran
air an druideadh suas, agus air an
seulachadh gu àm na crìche.

10 Bidh mòran air an glanadh, a-
gus air an deanamh geal, agus air an
dearbhadh: ach ni na h-aingidh gu
h-olc; agus cha tuig aon neach do
na h-aingidh, ach tuigidh na daoine
glice.

11 Agus o'n àm an dthoirear air
falbh an *iobairt* lathail, agus an cuirear
suas a' ghràinealachd a ni léir-sgrios,
bidh mìle, dà cheud, ceithir fichead
agus deich laithean.

12 Is beannuicht' esan a dh'fheith-
eas, agus a thig gus am mìle trì cheud
agus cùig deug thar fhichead latha.

13 Ach imich thusa romhad gus an
dthig a' chrìoch: oir gabhaidh tu
fois, agus seasaidh tu ann ad chrann-
chur aig crìch nan laithean.

HOSEA.

HOSEA

CAIB. I.

FOCAL an Tighearna a thàinig gu
Hosea, mac Bheeri, ann an laithibh
Usiah, Iotaim, Ahais, agus Heseciah,
righrean Iudah; agus ann an laithibh
Ieroboaim, mhic Iohais, righ Israeil.
2 Toiseach focail an Tighearna le
Hosea. Agus thuirt an Tighearn ri
Hosea, Imich, gabh chugad bean
striopachais: agus clann striopachais:
oir rinn am fearann striopachas mòr
ann an dealachadh ris an Tighearn.
3 Agus dh'imich e, agus ghabh e
Gomer nighean Dhiblaim; agus dh'
fhàs i torrach, agus rug i mac dha.
4 Agus thuirt an Tighearn ris,
Goir Iesreel mar ainm air; oir fòs
tamull beag, agus dìolaidh mise fuil
Iesreel air tigh Iehu, agus cuiridh
mi cosgadh air rioghachd tighe Is-
raeil.
5 Agus tarlaidh air an là sin, gu 'm
bris mise bogha Israeil ann an gleann
Iesreeil.
6 Agus dh'fhàs i torrach a rìs, a-
gus rug i nighean; agus thuirt *Dia*
ris, Goir Loruhamah, *Cha dh'fhuaireas
tròcair*, mar ainm oirre; oir cha dean
mise tròcair ni 's mò air tigh Israeil,
ach bheir mi gu tur air falbh iad.
7 Ach air tigh Iudah ni mi tròcair,
agus tearnaidh mi iad leis an Tigh-
earn an Dia, agus cha 'n ann le bogha
no le claidheamh a thearnas mi iad,
no le cath, no le h-eachaibh, no le
marcaich.
8 Agus chuir i o'n chìch Loruha-
mah, agus dh'fhàs i torrach, agus rug
i mac.
9 An sin thuirt *Dia*, Goir Lo-am-
mi, *Sluagh nach leamsa*, mar ainm air:
oir cha sibhse mo shluagh-sa, agus cha
bhi mise *ann am Dhia* dhuibhsa.
10 Gidheadh bidh àireamh cloinne
Israeil mar ghaineamh na fairge, nach
feudar a thomhas no àireamh; agus
tarlaidh, anns an àite san dùbhradh
riu, Cha sibh mo shluagh-sa, gu'n
abrar riu, Is sibh mic an Dé bheo.
11 Agus bidh clann Iudah agus
clann Israeil air an cruinneachadh le
chéile, agus gabhaidh iad dhoibh féin
aon cheann, agus thig iad a nìos as an
tìr: oir is mòr a bhitheas là Iesreeil.

CAIB. II.

ABRAIBHSE ri 'r bràithribh,
Ammi, *Mo shluagh-sa*, agus ri
'r peathraichibh, Ruhamah, *Fhuaireas
tròcair*.
2 Tagraibh ri 'r màthair, tagraibh:
oir cha 'n i mo bhean-sa, ni mò is
mis' a fear-sa: cuireadh i air falbh
uime sin a striopachas as a sealladh,
agus a h-adhaltrais o h-uchd:
3 Air eagal gu'n rùisg mis' i lom-
nochd, agus gu 'n cuir mi i mar anns
an là san d' rugadh i, agus gu 'n dean
mi i mar fhàsach, agus gu 'm fàg mi
i mar fhearann tioram, agus gu
marbh mi i le tart:
4 Agus nach gabh mi truas d'a
cloinn, oir is clann striopachais iad.
5 Oir rinn am màthair striopachas:
rinn ise a ghabh na broinn iad gu
beagnarach: oir thubhairt i, théid mi
an déigh mo luchd-gaoil, a ta toirt
dhomh m' arain agus m' uisge, m'
olainn

olainn agus mo lìn, m'oladh agus
mo dhibhe.
6 Uime sin feuch, druididh mise
suas a slighe le droighionn, agus dùin-
idh mi a callaid, air chor as nach
àmais[a] i air a ceuma.
7 Agus leanaidh i 'n déigh a luchd-
gaoil, ach cha bheir i orra; agus iarr-
uidh i iad, ach cha 'n àmais i *orra:*
an sin their i, Siùbhlaidh mi agus pill-
idh mi gu m' cheud fhear, oir bha mi
ni b'fhearr dheth an sin na 'n trà-sa.
8 Agus cha robh fios aice gu 'n d'
thug mise dhi arbhar, agus fion, agus
oladh, agus an t-airgiod a rinn mi
pailt dhi, agus an t-òr *a* thug iad mar
thabhartas do Bhaal.
9 Uime sin pillidh mise, agus bheir
mi m' arbhar leam na àm, agus m'
fhìonn na àm, agus bheir mi leam m'
olann agus mo lìon, *a thugadh* a
chòmhduchadh a lomnochduiche.
10 Agus a nis leigidh mi ris a neo-
ghloine ann an sealladh a luchd-gaoil,
agus cha saor duine sam bith as mo
làimh i.
11 Bheir mi fòs air a h-aighir uile
sgur; a ré nuadh, agus a sàbaid, agus
a h-ard-fhéillean uile.
12 Agus millidh mi a fionain agus
a crann-fìge, mu 'n d' thubhairt i,
Is iad so mo dhuais a fhuair mi o m'
luchd-gaoil: agus ni mi frìdh dhiubh,
agus ithidh beathaichean na machrach
iad.
13 Agus agraidh mi oirre laithean
Bhaalim, anns an do loisg i tùis doibh,
agus anns an do sgeudaich si i féin le
a cluas-fhàinnibh agus le a seudaibh,
agus anns an deachaidh i an déigh
a leannan, agus anns an do dhi-
chuimhnich i mise, deir an Tigh-
earn.
14 Gidheadh feuch, bheir mise
oirre mo leantuinn, agus bheir mi i
do n' fhàsach, agus labhraidh mi rithe
gu cairdeil.
15 Agus as sin bheir mi dhi a fion-
liosan, agus gleann Achoir mar dhor-
us dòchais, agus seinnidh i 'n sin, mar
ann an laithibh a h-òige, agus mar
anns an là san d' thàinig i nìos a tìr
na h-Eiphit.
16 Agus tarlaidh air an là sin, deir
an Tighearn, gu 'n goir thu dhiom-sa,
M'fhear, agus nach goir thu rium ni
's mò, Mo Bhaal.
17 Oir bheir mi ainmean Bhaalim
a mach as a beul, agus cha 'n ainm-
ichear ni 's mò iad air an ainm.
18 Agus anns an là sin ni mise
coimhcheangal air an son, ri beath-
aichibh na machrach, agus ri eunlaith
nèimhe, agus ri nithibh snàgach na
talmhainn: agus am bogha, agus an
claidheamh, agus an cath, brisidh mi
a mach as an fhearann, agus bheir mi
orra gu 'n luidh iad sìos an tèaruint-
eachd.
19 Agus pòsaidh mi thu rium féin
gu bràth; seadh, pòsaidh mi rium
féin thu ann am fìreantachd, agus ann
an ceartas, agus ann an caoimhneas,
agus ann an caomh-ghràdh;
20 Seadh, ni mi ceangal pòsaidh
riut ann am fìrinn, agus gabhaidh tu
eòlas air an Tighearn.
21 Agus tarlaidh air an là sin,
cluinnidh mise, deir an Tighearn,
cluinnidh mise na nèimha; agus
cluinnidh iadsan an talamh;
22 Agus cluinnidh an talamh an
t-arbhar, agus am fion, agus an oladh;
agus cluinnidh iadsan Iesreel.
23 Agus suidhichidh mi dhomh
féin i anns an fhearann, agus ni mi
tròcair oirre-sa nach d'fhuair tròcair;
agus their mi riu-san nach robh nan
sluagh dhomh, Is tu mo shluagh; a-
gus their iadsan, *Is tu* mo Dhia.

CAIB. III.

OS barr thubhairt an Tighearn
rium, Imich a ris, gràdhaich
bean, (ionmhuinn le a caraid, ged tha
i na ban-adhaltranaich,) do réir
gràidh an Tighearna do chloinn Is-
raeil, ged tha iadsan ag amharc ri
déibh eile, agus a' gràdhachadh chop-
ana fìona.
2 Mar sin cheannuich mi dhomh
féin i air chùig *buinn* deug airgid, a-
gus homer eorna, agus leth homeir
eorna.
3 Agus thuirt mi rithe, Fanaidh tu
leamsa mòran laithean; cha dean thu
strìopachas,

[a] *airmis.*

striopachas, ni mò bhios tu aig fear *eile*, mar sin bidh mise mar an ceudna agadsa.

4 Oir fanaidh clann Israeil mòran laithean gun righ, agus gun phrionnsa, agus gun ìobairt, agus gun ìomhaigh, agus gun ephod, agus gun teraphim.

5 Na dhéigh sin pillidh clann Israeil, agus iarruidh iad an Tighearn an Dia, agus Daibhidh an righ, agus bidh eagal an Tighearna agus a mhaitheis orra, anns na laithibh deireannach.

CAIB. IV.

EISDIBHSE focal an Tighearna, O chlann Israeil: oir tha coi-stri aig an Tighearn ri luchd-àiteachaidh na tìre; a chionn nach 'eil firinn, no tròcair, no eòlas Dé anns an fhearann.

2 Le mionnaibh, agus breugaibh, agus marbhadh, agus goid, agus deanamh adhaltruis, bhris iad a mach; agus tha fuil a' ruigheachd gu fuil.

3 Uime sin ni am fearann caoidh, agus seargaidh gach aon a ta chòmhnuidh ann, maille ri beathaichibh na machrach, agus ri eunlaith an athair; seadh, bheirear iasga na fairge fòs air falbh.

4 Gidheadh cha 'n 'eil duine sam bith a' tagradh, agus cha 'n 'eil duine sam bith a' cronuchadh: oir tha mo shluagh mar dhream a ni strì ris an t-sagart.

5 Uime sin tuitidh tu san là, agus tuitidh am fàidh fòs leat anns an oidhche; agus sgriosaidh mise do mhàthair.

6 Tha mo shluagh-sa air an sgrios le dìth eòlais. A chionn gu 'n do chuir thu cùl ri 'eòlas, cuiridh mise fòs cùl riutsa, air chor as nach bi thu agam a'd' shagart: a chionn gu 'n do dhearmaid thu lagh do Dhia, dearmaididh mise fòs do chlann-sa.

7 Amhluidh mar chaidh iad am meud, mar sin chiontaich iad a' m' aghaidh-sa: caochlaidh mise an glòir gu nàire.

8 Tha iad ag itheadh suas peacaidh[a] mo shluaigh-sa, agus a' socruchadh an cridhe air an ea-ceart.

9 Agus amhuil a bhios an sluagh, mar sin bidh an sagart, agus smachdaichidh mise iad air son an sligheanna, agus dìolaidh mi orra an deanadas.

10 Agus ithidh iad, ach cha bhi iad sàsuichte; ni iad strìopachas, agus cha 'n fhàs iad lìonmhor: oir leig iad dhiubh bhi toirt aire do 'n Tighearn.

11 Bheir strìopachas, agus fìon, agus fìon nuadh air falbh an cridhe.

12 Tha mo shluagh-sa ag iarruidh comhairle air an crannaibh, agus tha an lorg a' deanamh foillseachaidh dhoibh: oir thug spiorad an strìopachais orra dol air seachran, agus chaidh iad le strìopachas air falbh o'n Dia.

13 Air mullaichibh nan sliabh tha iad ag ìobradh, agus air na sléibhtibh tha iad a' losgadh tùise; fo chrannaibh daraich, agus crithich, agus cuilinn, a chionn gu bheil an sgàile taitneach: air an aobhar sin tha 'ur nigheana ri strìopachas, agus 'ur mnathan ri adhaltrus.

14 Nach smachduich mise bhur nigheanan, a chionn gu bheil iad ri strìopachas? agus 'ur mnathan a chionn gu bheil iad ri adhaltrus? a chionn gu bheil iad 'gan cur féin air leth le strìopaichibh, agus ag ìobradh le luchd-neo ghloine: uime sin, an sluagh aig nach 'eil tuigse, tuitidh iad.

15 Gedhhean thusa strìopachas, O Israeil, *gidheadh* na ciontaicheadh Iudah; agus na dthigibhse gu Gilgal, ni mò théid sibh suas gu Bet-abhen; ni mò mhionnaicheas sibh, Mar is beo an Tighearn.

16 Oir tha Israel a' claonadh air ais, mar agh cùl-sleamhnach: a nis biadhaidh an Tighearn iad mar uan ann an àite farsuing.

17 Tha Ephraim air a dhlù-cheangal ri ìodholaibh, leig leis:

18 Tha an deoch searbh: rinn a h-uachdarain strìopachas gun chlos; ghràdhaich iad ni nàrach:

19 Cheangail a' ghaoth suas i na sgiathaibh;

[a] *ìobairt-pheacaidh.*

ſgiathaibh ; agus bidh nàir' orra do
thaobh an ìobairtean.

CAIB. V.

CLUINNIBHSE ſo, a ſhagartan ;
agus thugaibhſe aire, O thigh
Iſraeil ; agus thugaibhſe fainear, O
thigh an righ ; oir tha breitheanas
dlù dhuibh ; a chionn gu'n robh ſibh
mar rib air Miſpah, agus mar lìon
ſgaoilte air Tabor.
2 Agus rinn na ceannaircich àr
domhainn ; uime ſin bheir miſe
ſmachdachadh air an iomlan diubh.
3 Is aithne dhomhſa Ephraim, a-
gus Iſrael cha 'n 'eil am folach orm ;
oir a nis rinn Ephraim ſtrìopachas,
tha Iſrael air a thruailleadh.
4 Cha dealbh iad an deanadas gu
pilleadh a chum an Dé : oir tha ſpior-
ad ſtrìopachais nam meadhon, agus
air an Tighearn cha do ghabh iad
eòlas.
5 Air an aobhar ſin ìſlichear uabh-
ar Iſraeil fa chomhair a ſhùl ; agus
Iſrael, agus Ephraim tuiſlichidh nan
aingidheachd : tuiſlichidh fòs Iudah
maille riu.
6 Le 'n treudaibh agus le 'm buar-
aibh, théid iad a dh'iarruidh an Tigh-
earna : ach cha'n fhaigh iad *e ;* thar-
ruing ſe e féin uatha.
7 Bhuin iad gu fealltach an agh-
aidh an Tighearna ; oir ghin iad clann
choimheach : a nis ſluigidh mìos iad
maille r' an cuibhrionnaibh.
8 Séidibhſe an trompaid ann an
Gibeah, am buabhull ann an Ramah :
éighibh caiſmeachd chatha ann am
Bet-abhen : *an nàmhaid* air do thòir,
O Bheniamin.
9 Bidh Ephraim na fhàſach ann an
là an achmhaſain : am meaſg threubhan
Iſraeil rinn miſe aithnichte an ni ſin a
thig gu crìch gu deimhin.
10 Bha prionnſachan Iudah coſ-
mhuil riu-ſan a dh' atharruicheas an
comhara-fearainn : dòirtidh miſe mo
chorruich a mach orra mar uiſge.
11 Tha Ephraim sàruichte, briſte
ann am breitheanas ; a chionn gu 'n
do ghluais e gu toileach an déigh na
h-àithne.
12 Uime ſin bidh miſe mar leòm-
ann do Ephraim : agus mar lobhadh
do thigh Iudah.
13 Tra chunnaic Ephraim a thinn-
eas, agus Iudah a chreuchd, an ſin
chaidh Ephraim a chum an Aſirian-
aich, agus chuir e fios gu righ Iareb :
gidheadh cha b'urradh e 'ur leigheas,
ni mò ſhlànuich e 'ur creuchd.
14 Gu deimhin bidh miſe mar
leòmhann do Ephraim, agus mar
leòmhann òg do thigh Iudah : reub-
aidh miſe, eadhon miſe féin, agus im-
ichidh mi romham ; bheir mi leam,
agus cha bhi aon neach ann a thearn-
as :
15 Imichidh mi, agus pillidh mi gu
m' àite, gus an aidich iad an cionta,
agus an iarr iad m' aghaidh : nan
amhghar iarruidh iad mi gu moch.

CAIB. VI.

THIGIBH, agus pilleamaid ris an
Tighearn : oir is eſan a reub,
agus is e ni ar leigheas ; is e bhuail,
agus ceanglàidh e ſuas ſinn.
2 An ceann dà latha ni e ar n-ath-
bheothachadh, air an treas là dùiſgidh
e ſuas ſinn, agus bidh ſinn beo na
ſhealladh.
3 Agus bidh eòlas againn, théid
ſinn air ar n-aghaidh a ghabhail eòl-
ais air an Tighearn : tha a dhol a
mach air 'ullachadh mar a' mhaduinn ;
agus thig e chugainn mar an t-uiſge ;
mar an t-uiſge deireannach, *agus* an t-
uiſge toiſich air an talamh.
4 Ciod a ni mi riut, O Ephraim ?
Ciod a ni mi riutſa, O Iudah ? oir
tha 'ur maitheas mar neul maidne,
agus mar an drùchd moch, a ſhiùbhl-
as air falbh.
5 Uime ſin ſgath mi ſios iad leis na
fàidhean : mharbh mi iad le briath-
raibh mo bheoil ; agus bha do bhreith-
eanais mar an ſolus na dhol a mach.
6 Oir dh'iarr miſe tròcair, agus ni
h-e ìobairt ; agus eòlas Dé ni 's mò
na ìobairtean loiſgte.
7 Ach bhris iadſan an coimh-
cheangal mar Adhamh : an ſin bhuin
iad gu fealltach a'm' aghaidh-ſa.
8 Is cathair luchd-deanamh ea-cor-
ach Gilead ; air a truailleadh le *fuil.*
9 Agus amhuil a dh'fheitheas

buidheann* air son duine, tha cuid-
eachd nan sagart a' marbhadh anns an
t-slighe gu Sechem a dh'aon-fheachd;
oir rinn iad gu dàna aingidheachd.
10 Ann an tigh Israeil chunnaic mi
ni ro-ghràineil: an sin tha Ephraim
ri striopachas, tha Israel air a thruaill-
eadh.
11 Air do shon-sa, mar an ceudna,
O Iudah, tha foghara air a shònrach-
adh, an uair a philleas mise air a h-ais
bruid mo shluaigh.

C A I B. VII.

AN uair a b'àill leamsa Israel a
leigheas, an sin leigeadh ris
aingidheachd Ephraim, agus ea-ceart
Shamaria: oir tha iad a' cur an
gniomh ceilge: seadh, tha an gad-
uiche a' dol a steach; tha a' cheath-
airne ri creach a muigh.
2 Agus cha 'n 'eil iad a' toirt fain-
ear nan cridhe gur cuimhne leams' an
uile aingidheachd: a nis chuairtich an
gniomhara féin iad air gach taobh;
tha iad fa chomhair m' aghaidh-sa.
3 Le'n aingidheachd tha iad a'
deanamh an righ ait; agus nan uachd-
aran le 'm breugaibh.
4 Is adhaltranaich iad uile; mar
àmhuinn air a teasachadh leis an
fhuineadair, an tra sguireas fear-oib-
reachaidh na taoise d'a fuineadh gus
am bi si air a gortachadh.
5 Air là *féill* ar righ, tra bha na
prionnsachan air an teasachadh le fion,
shin esan a mach a làmh le luchd-
fanoid.
6 Oir dh'ullaich iad an cridhe mar
àmhuinn, am feadh a ta iad ri feall-
fholach: fad na h-oidhche tha 'm
fuineadair a' cadal; anns a' mhaduinn
tha i losgadh mar theine lasrach.
7 Theasaich iad uile iad féin mar
àmhuinn, agus shluig iad am breith-
eamhna; tha an righrean uile air
tuiteam, cha 'n 'eil aon nam measg a
ta gairm orm-sa.
8 Ephraim, mheasg esan e féin leis
na cinnich; is aran nach deachaidh a
thionndadh Ephraim.
9 Shluig coigrich suas a neart, agus
cha 'n 'eil fios aig air: seadh tha fuilt-
eanan liath air an sud agus an so,
gidheadh cha 'n 'eil fios aig air.
10 Agus tha uabhar Israeil a' ta-
bhairt fianuis fa chomhair a shùl;
gidheadh cha 'n 'eil iad a' pilleadh ris
an Tighearn an Dia, no 'ga iarruidh
air son so uile.
11 Tha Ephraim fòs mar choluman
amaideach, gun eòlas: tha iad a'
glaodhach ris an Eiphit, tha iad a'
triall gu Asiria.
12 An uair a thriallas iad, sgaoil-
idh mise mo lìon tharta; mar eun-
laith an athair bheir mi nuas iad:
smachdaichidh mi iad an uair a dh'
éisdeas iad ri 'n coimhthional.
13 Mo thruaighe iad, oir theich
iad uamsa: léir-sgrios dhoibh, oir
chiontaich iad a'm' aghaidh-sa: ge
do shaor mi iad, gidheadh labhair iad
breugan ann am aghaidh.
14 Agus cha do ghlaodh iad rium-
sa le 'n cridhe; ged rinn iad donnal-
aich air an leapaichibh air son arbhair
agus fiona: tha iad a' cruinneachadh
an ceann a' chéile, tha iad ag éirigh
suas a'm' aghaidh-sa.
15 Seadh smachdaich mi iad;
neartuich mi *fòs* an gairdeanan; gidh-
eadh tha iad a' dealbh aimhleis ann
am aghaidh.
16 Tha iad a tionndadh an déigh
ni gun bhuannachd: tha iad mar
bhogha cealgach: tuitidh an uachdar-
ain leis a' chlaidheamh, air son nimh
an teanga: so cùis am maslaidh ann
an tìr na h-Eiphit.

C A I B. VIII.

AN trompaid ri d' bheul! mar
iolair an aghaidh tighe an
Tighearna *thig e:* a chionn gu 'n do
bhris iad mo choimhcheangal-sa, agus
gu'n do chiontaich iad an aghaidh mo
reachd.
2 Riumsa glaodhaidh iad, O Dhia
Israeil, is aithne dhuinne thu.
3 Chuir Israel uaith am fad an ni
ta maith: ni nàmhaid a ruagadh.
4 Chuir iad suas righrean, ach cha
'n ann uamsa: rinn iad uachdarain, a-
gus

* *ceathairne.*

gus cha robh agamsa fios air: d' an airgiod agus d' an òr rinn iad dhoibh féin ìodholan, a chum gu 'n gearrar as iad.

5 Cuir am fada uait do laogh, O Shamaria; tha mo chorruich-sa air lasadh nan aghaidh: cia fhad a bhios iad gun ruigheachd air neo-chionta?

6 Oir bha so fòs o Israel: dhealbh am fear-oibre e; agus cha Dia tà ann: oir brisear na bhloighdibh laogh Shamaria.

7 Oir chuir iad a' ghaoth, agus buainidh iad a' chuairt-ghaoth: cha 'n 'eil toradh air an déis; cha dthoir i uaipe min; no ma bheir, sluigidh coigrich suas i.

8 Tha Israel air a shlugadh suas: a nis tha iad am measg nan cinneach, mar shoitheach anns nach 'eil tlachd air bith.

9 Oir chaidh iad suas gu Asiria: is asal fhiadhaich san aonach Ephraim; thuarasdalaich iad leannain.

10 Seadh, ge do thuarasdalaich iad am measg nan cinneach, a nis tionailidh mise iad le chéile, agus bidh iad gu gairid air an cràdh le uallach an righ agus 'uachdarana.

11 A chionn gu 'n d' rinn Ephraim mòran altairean gu peacachadh, altairean gu peacachadh tha aige.

12 Sgrìobh mise chuige nithe mòra mo reachd; *ach* mheasadh iad mar ni nach buineadh dhoibh.

13 Tha iad ag ìobradh feòla mar thabhartas dhomhsa, agus 'ga h-itheadh: *ach* cha ghabh an Tighearn riu: a nis cuimhnichidh e an aingidheachd, agus smachdaichidh e an lochdan: pillidh iad air an ais do 'n Eiphit.

14 Oir dhi-chuimhnich Israel a Chruithfhear, agus thog e teampuill: agus chuir Iudah an lìonmhoireachd cathraichean daingean: ach cuiridh mise teine air a chathraichean, agus loisgidh e a lùchairtean.

CAIB. IX.

NA dean aoibhneas, O Israeil, na dean gairdeachas mar na cinnich: oir chaidh thu air striopachas o d' Dhia; ghràdhaich thu duais air gach uile urlar arbhair.

2 An t-urlar arbhair agus an dabhach-fhìona cha dean am beathachadh, agus meallaidh am fìon-nuadh an dòchas.

3 Cha ghabh iad còmhnuidh ann am fearann an Tighearna: ach pillidh Ephraim do 'n Eiphit; agus ann an Asiria ithidh iad nithe neo-ghlan.

4 Cha 'n ìobair iad *tabhartais-fhìona* do 'n Tighearn, ni mò bhios iad taitneach dha: bidh an ìobairtean doibh mar aran luchd-bròin; bidh iadsan uil' a dh' itheas deth air an salachadh; gu dearbh cha dthig an aran air son an anama gu tigh an Tighearna.

5 Ciod a ni sibh ann an latha na h-ard-fhéille, agus ann an latha féille an Tighearna?

6 Oir feuch dh' imich iad air falbh o làthair an fhir-mhillidh: tionailidh an Eiphit iad, adhlaicidh Memphis iad: na *b-ionada* taitneach *a cheannuich iad* le 'n airgiod, sealbhaichidh an ionntagach iad: nam pàilliunaibh *fàsaidh* an droighionn.

7 Thàinig laithean an smachdachaidh, thàinig laithean na luigheachd: aithnichidh Israel gu 'm b' amadan am fàidh, gu 'n robh fear an spioraid air boile; air son ro-mheud d' aingidheachd, agus air son d' fhuath mhòir.

8 Tha fear-faire Ephraim le m' Dhia-sa: tha am fàidh *mar* lìon an eunadair na uile shlighibh-san: *neartaich iad* am fuath an aghaidh tighe mo Dhé.

9 Thruaill iad iad féin, mar ann an laithibh Ghibeah: cuimhnichidh esan an aingidheachd, smachdaichidh e an lochdan.

10 Mar dhearca-fìona san fhàsach, fhuair mise Israel; mar am meas luath air a chrann fhìge na cheud àm, chunnaic mi 'ur n-aithrichean. *Ach* chaidh iad gu Baal-peor, agus dhealuich siad iad féin a chum an ni nàraich sin; agus dh' fhàs iad gràineil, mar *chuspair* an gràidh.

11 Air son Ephraim, itealaichidh an glòir air falbh mar eun; o'n bhreith, agus o'n bhroinn, agus o'n ghineamhuinn.

12 Seadh, ged àraich iad an clann,

sgriosaidh

ſgriosaidh miſe iad o mheaſg dhaoine; ſeadh is an-aoibhinn doibh, an uair a dh' imicheas miſe uatha.

13 Tha Ephraim, mar a chunnaic mi Tirus, air a ſhuidheachadh ann an ionad taitneach: ach bheir Ephraim a mach a chlann do'n fhear-mhillidh.

14 Thoir, O Thighearn. Ciod a bheir thu? thoir dhoibh brù chaillteach, agus cìochan ſeaſga.

15 Tha an cionta gu léir ann an Gilgal *ſa 'm chombair:* oir an ſin thug miſe fuath dhoibh: air ſon aingidheachd an deanadais iomainidh mi as mo thigh iad; cha dthoir mi ni's faide gràdh dhoibh, tha am maithean uile cùl-ſleamhnach.

16 Tha Ephraim buailte; thiormaicheadh ſuas am freumh; cha ghiùlain iad a' bheag do thoradh: ſeadh, ge do bheireadh iad, gidheadh marbhaidh miſe *toradh* gràdhach am bronn.

17 Tilgidh mo Dhia air falbh iad, a chionn nach d'éiſd iad ris: agus bithidh iad nam fògaraich am meaſg nan cinneach.

CAIB. X.

B' FHÌONAN thorrach Iſrael: thug e mach toradh dha féin: do réir pailteis a thoraidh, chuir e altairean an lìonmhoireachd; do réir maitheis 'fhearainn rinn e dealbhan àluin.

2 Tha an cridhe air a roinn; a nis gheibhear ciontach iad: briſidh eſan sìos an altairean: ſgriosaidh e an dealbhan.

3 Oir a nis a deir iad, Cha 'n 'eil righ air bith againn, a chionn nach robh eagal an Tighearna oirnn: ciod uime ſin, a dheanadh righ dhuinn?

4 Labhair iad briathra *faoine*, 'nuair a mhionnaich iad; breugan an uair a rinn iad coimhcheangal: mar ſo tha breitheanas a' fàs a nìos, mar an iteotha ann an claiſibh na machrach.

5 Air ſon laoigh Bhet-abhein bidh eagal air luchd-àiteachaidh Shamaria; oir ni a ſhluagh caoidh os a chionn, agus a ſhagairt acain air a ſhon; air ſon a ghlòire, oir dhealuich i ris.

6 Os barr bheirear e féin gu Aſiria, mar thabhartas do righ Iareb: ni maſladh greim air Ephraim, agus gabhaidh Iſrael nàire d'a chomhairle.

7 Air ſon Shamaria, ghearradh a righ as mar an cobhar air uachdar an uiſge.

8 Sgrioſar fòs ionada àrda Abhein, cionta Iſraeil: thig an droighionn agus am foghannan a nìos air an altairean; agus their iad ris na ſléibhtibh, Folaichibh ſinn, agus ris na beanntaibh, Tuitibh oirnn.

9 O Iſraeil, chiontaich thu ni 's mò na ann an laithibh Ghibeah: an ſin ſheas iad: nach d'rug an cath orra ann an Gibeah?

10 An aghaidh cloinne na h-aingidheachd thàinig miſe, agus ſmachdaich mi iad. Agus cruinnichear na ſlòigh nan aghaidh-ſan tra ſmachduichear iad air ſon an dà chionta.

11 Agus bidh Ephraim na agh foghluimte, le 'm miann a bhi ſaltairt a mach an arbhair; ach chaidh miſe thairis air a muineal ſgiamhach. Bheir mi air Ephraim marcachd; treabhaidh Iudah, briſidh Iaco ſhòidean.

12 Cuiribh dhuibh féin ann am fìreantachd, buainibh ann an toradh na tròcair: briſibh ſuas 'ur fearann neo-threabhta: oir is mithich Iehobhadh iarruidh, gus an dthig e; agus am fras e oirbh fìreantachd.

13 Threabh ſibh aingidheachd, bhuain ſibh ea-ceart; dh' ith ſibh toradh bhreugan: a chionn gu'n d'earb thu as do ſhlighe, a mòr-chuideachd do dhaoine treuna;

14 Uime ſin éiridh buaireas am meaſg do ſhluaigh, agus bidh d' uile dhaingnichean air am milleadh, amhuil a mhill Salmon Bet-arbel ann an là a chatha; ghearradh nam bloighdibh a' mhàthair agus a' chlann le chéile.

15 Is amhuil a nithear ruibhſe, O Bhetel, air ſon ro-mheud 'ur n-aingidheachd: ann am maduinn gearrar as gu cinnteach righ Iſraeil.

CAIB. XI.

'NUAIR a bha Iſrael na leanabh, an ſin thug miſe gràdh dha; agus a mach as an Eiphit ghairm mi mo mhac.

2 'Nuair a ghairm iad orra, an ſin dh' imich iadſan uatha: dh' ìobair iad

 do

do Bhaalim, agus loisg iad tùis do dhealbhan snaighte.

3 Theagaisg mise fòs do Ephraim coiseachd, 'gan togail ann am ghairdeanaibh; ach cha robh fios aca gu 'n do leighis mi iad.

4 Tharruing mi iad le cordaibh duine, le ceanglaichibh gràidh; agus bha mi dhoibh mar neach a thogas dhiubh a' chuing air an gialaibh, agus chuir mi sios biadh dhoibh.

5 Cha phill e gu tìr na h-Eiphit, ach bithidh an t-Asirianach na righ air, a chionn gu 'n do dhiùlt iad pilleadh *riumsa*.

6 Agus tuitidh an claidheamh gu trom air a bhailtibh, agus caithidh e a gheugan; agus sluigidh e, air son an comhairlean.

7 Agus tha mo shluagh-sa an tì air cùl-sleamhnachadh uam; ge do ghlaodh iad ris an Tì a's airde, cha 'n ardaicheadh aon neach *e*.

8 Cionnus a bheir mi thairis thu, O Ephraim! cionnus a bheir mi seachad thu, O Israeil! cionnus a ni mi thu mar Admah! a chuireas mi thu mar Sheboim! tha mo chridhe 'n taobh a stigh dhiom air tionndadh; tha m' aithreachais air lasadh le chéile.

9 Cha chuir mi 'n gnìomh mo dhian-chorruich, cha phill mi a mhilleadh Ephraim; oir is Dia mise, agus cha duine; an Tì naomh ann ad mheadhon; gidheadh nach 'eil a' tathaich bhailtean.

10 Siùbhlaidh iad an déigh an Tighearna: beucaidh e mar leòmhann: an uair a bheucas e, an sin crithnichidh [a] na mic o 'n aird an iar.

11 Itealuichidh iad mar eun as an Eiphit, agus mar choluman a tìr Asiria: agus suidhichidh mise nan tighibh iad, deir an Tighearn.

12 Tha Ephraim 'g am chuartachadh le breugaibh, agus tigh Israeil, agus Iudah le ceilg: ach fathast tha Iudah a' riaghladh maille ri Dia; agus tha e dìleas maille ris na naomhaibh.

CAIB. XII.

THA Ephraim ag ionaltradh air gaoith, agus ag imeachd an déigh na gaoith an ear: gach aon là tha e cur bhreug agus reubainn an lìonmhoireachd; rinn iad fòs coimhcheangal ri Asiria, agus tha oladh 'ga giùlain do 'n Eiphit.

2 Tha consachadh fòs aig an Tighearn ri Iudah, agus ni e peanas air Iacob do réir a shlighean; do réir a dheanadais bheir e dha luigheachd.

3 Anns a' bhroinn ghlac e a bhràthair air shàil; agus le a neart bha cumhachd aige maille ri Dia.

4 Seadh bha cumhachd aige maille ris an aingeal; agus thug e buaidh: ghuil e, agus rinn e guidhe ris: fhuair e ann am Betel e, agus an sin labhair e ris.

5 Eadhon Iehobhah Dia nan sluagh, is e Iehobhah a chuimhneachan.

6 Uime sin pill thusa ri d' Dhia: coimhid tròcair agus breitheanas; agus feith air do Dhiaa ghnàth.

7 Is fear-malairt e: na làimh tha meigh na mealltoireachd; is toigh leis a bhi ri ain-neart.

8 Agus thubhairt Ephraim, Gu deimhin tha mi air fàs saibhir, fhuair mi dhomh féin stòras: ann am shaothairibh uile cha 'n fhaigh iad ea-ceart air bith annam; bhiodh sin na chionta.

9 Agus mise Iehobhah do Dhia, *a thug a nios thu* o thìr na h-Eiphit, bheir mi ort fòs còmhnuidh ghabhail ann am pàilliunaibh, mar ann an laithibh na h-àrd-fhéille.

10 Labhair mi fòs leis na fàidhean, agus rinn mi lìonmhor seallana; agus le frithealadh nam fàidhean ghnàthuich mi cosalachdan.

11 Gu dearbh ann an Gilead tha ea-ceart; gu cinnteach is dìomhanas iad; tha iad ag ìobradh tharbh ann an Gilgal; seadh tha an altairean mar charna ann an claisibh na machrach.

12 Ach theich Iacob gu dùthaich Shiria; agus rinn Israel seirbhis air son mnà; agus air son mnà ghléidh e *caoirich*.

13 Agus le fàidh thug an Tighearn

[a] *thig iad le cabhaig.*

earn Iſrael a mach as an Eiphit; agus
le fàidh thearnadh e.
14 Bhroſnuich Ephraim e chum
feirge gu ro-ſhearbh: uime ſin fàgaidh
a Thighearn 'fhuil air féin; agus pill-
idh e chuige féin a mhaſladh.

C A I B. XIII.

AN uair a labhair Ephraim le
crith, dh' arduich ſe e féin ann
an Iſrael; ach an uair a chiontaich e
ann am Baal, bhàſaich e.
2 Agus a nis tha iad a' ciontachadh
ni 's mò agus ni 's mò, agus rinn iad
dhoibh féin dealbh leaghta d' an air-
giod: ìodholan do réir an ſeòltachd
féin; an t-iomlan deth obair nam fear-
ceirde: deir iad do 'n taobh, Deanadh
a' mhuinntir a ta 'g ìobradh na laoigh
a phògadh.
3 Air an aobhar ſin bidh iad mar
neul na maidne; agus mar an drùchd
moch a ſhiùbhlas air falbh: mar am
moll air 'fhuadachadh le cuairt-ghaoith
o 'n urlar-bhualaidh; agus mar thoit
a mach as an luidheir.
4 Gidheadh is miſe an Tighearn do
Dhia, *a thug a nìos thu* o thìr na h-
Eiphit, agus cha bhi aithne agad air
dia air bith ach miſe; oir cha 'n 'eil
ſlànuighear ann ach mi.
5 B' aithne dhomhſa thu ſan fhàſ-
ach, ann am fearann an tarta mhòir:
6 Nan ionaltradh bha iad air an
lìonadh: bha iad air an lìonadh, agus
dh' arduicheadh an cridhe: air an
aobhar ſin dhi-chuimhnich iad miſe.
7 Uime ſin bidh miſe dhoibh mar
leòmhann: mar liopard anns an t-
ſlighe bheir mi fainear iad.
8 Coinnichidh mi iad mar mhath-
ghamhuinn o 'n do bhuineadh *a cuil-
eanan*, agus reubaidh mi ſgairt an
cridhe; agus an ſin ſluigidh mi iad
mar leòmhann boirionn: ni fiadh-
bheathach na machrach an reubadh.
9 O Iſraeil, ſgrios thu thu féin, ach
annam-ſa tha do chobhair.
10 Bidh miſe ann am rìgh dhuit:
c' àit am bheil aon neach eile thearn-
as thu ann ad chathraichibh uile! agus
do bhreitheachan uile ris an d' thubh-
airt thu, Thoir dhomh rìgh agus
prionnſachan.
11 Thug miſe rìgh dhuit ann am
fheirg, agus thug mi air falbh e ann
am chorruich.
12 Tha aingidheachd Ephraim air
a carnadh ſuas: tha a chionta air a
taſgaidh.
13 Thig ioghanna mnà ri ſaothair
air: is mac nach 'eil glic e ſo; no cha
'n fhanadh e fada ann an *àite* briſeadh
a mach na cloinne.
14 Fuaſglaidh mis' iad o chumh-
achd na h-uaighe: ſaoraidh mi iad o
'n bhàs: O bhàis, bidh mis' a'm'
phlàigh dhuit; O uaigh, bidh mis' a'
m' ſgrios duit; bidh aithreachas air
'fholach o m' ſhùilibh.
15 Ge do bha e torrach am meaſg
a bhràithrean, thig gaoth an ear, thig
gaoth an Tighearna nìos o 'n fhàſach,
agus fàſaidh 'fhuaran tioram, agus
tiormaichear ſuas a thobar: bidh ion-
mhas uile ſhoithichean taitneach air a
chreachadh.
16 Bidh Samaria na fàſach, oir rinn
i ceannairc an aghaidh a Dé: tuitidh
iad leis a' chlaidheamh, briſear an
naoidheana nam bloighdibh; agus
reubar ſuas am mnathan torrach.

C A I B. XIV.

PILL, O Iſraeil, ris an Tighearn
do Dhia, oir thuit thu le d' aing-
idheachd.
2 Thugaibh leibh briathran, agus
pillibh ris an Tighearn; abraibh ris,
Thoir air falbh ar n-uile chionta, agus
gabh ruinn gu gràſmhor: mar ſin
bheir ſinn ſeachad laoigh ar bilidh.
3 Cha dean Aſur ar tearnadh, air
eachaibh cha dean ſinn marcachd; ni
mò their ſinn tuille ri obair ar làmha
féin, Is ſibhſe ar dée: oir annad-ſa
gheibh an dilleachdan tròcair.
4 Leighiſidh miſe an cùl-ſleamhn-
achadh, gràdhaichidh mi iad gu ſaor:
oir phill mo chorruich air falbh
uaith.
5 Bidh mi mar an drùchd do Iſ-
rael: fàſaidh e mar an lìligh, agus
cuiridh e mach a fhreumha mar Le-
banon.
6 Sgaoilidh a gheugan, agus bidh
a mhaiſe mar an crann-oladh, agus
'fhàile mar Lebanon.

7 Pillidh iadſan a ta chòmhnuidh
ſo a ſgàile: mar an t-arbhar bidh iad
air an ath-bheothachadh; agus fàſ-
aidh iad mar an fhìonain: bidh a
bholadh mar fhìon Lebanoin.
8 *Their* Ephraim, Ciod mo ghnoth-
uich-ſa tuille ri ìodholaibh? Chuala
miſe 'e; agus thug mi fainear 'e; is
coſmhuil mi ri crann uaine giuthais;
uamſa tha do thoradh r'a fhaotainn.
9 ( ) ta glic, agus tuigidh eſan na
nithe ſo? crionna, agus aithnichidh
ſe iad? oir tha ſligheanna an Tigh-
earna ceart, agus gluaiſidh na fìreana
annta: ach gheibh na ciontaich tuiſ-
leadh annta.

IOEL.

I O E L.

CAIB. I.

FOCAL an Tighearna a thàinig a chum Ioel, mhic Phetueil.

2 Cluinnibhse so, a sheann daoine; agus thugaibhse fainear, uile luchd-àiteachaidh na tìre: an robh so 'nur laithibhse; no 'n laithibh 'ur n-aithrichean?

3 Innsibhse do 'r cloinn e, agus *innseadh* 'ur clann do 'n cloinn-san, agus an clann-sa do ghinealach eile.

4 An ni sin a dh' fhàg a' phailm-chnuimh, dh' ith an locust; agus an ni a dh'fhàg an locust, dh' ith a' chnàmh-bheist; agus an ni sin a dh' fhàg a' chnàmh-bheist, dh' ith an caterpileir.

5 Dùisgibh, a mhisgearan, agus guilibh; agus deanuibhse caoidh, uile phòitearan fìona, air son an fhìon-nuadha, oir tha e air a ghearradh air falbh o 'r beul.

6 Oir tha cinneach air teachd a nìos air m' fhearann-sa, treun, agus thar àireamh; is fiaclan leòmhainn am fiaclan; agus tha fiaclan carbaid leòmhainn bhoirinn aca.

7 Dh' fhàg iad m' fhìonan-sa na fàsach, agus rùisg iad mo chrann-fìge: rùisg iad e gu buileach, agus thilg iad air falbh e, tha a gheugan air an deanamh geal.

8 Dean caoidh mar òighe crioslaichte le eudach-saic air son céile [a] a h-òige.

9 Tha an tabhartas-bìdh air a ghearradh air falbh, agus an tabhartas dibhe o thigh an Tighearna: deanaibhse bròn, O shagarta, òglacha an Tighearna.

10 Tha a' mhachair na fàsach, tha an talamh ri caoidh; oir tha an t-arbhar air a mhilleadh; tha am fìon nuadh air seargadh, dh' fhàilnich an ola.

11 Gabhaibh nàire, O threabhaichean: deanuibhse caoidh, O luchd-deasaichidh na fìonain, air son a' chruineachd, agus air son an eorna: a chionn gu 'n do mheath foghara na machrach.

12 Tha an fhìonan air tiormachadh suas, agus an crann-fìge air seargadh; tha 'm pomgranat, an crann-pailme fòs, agus an crann-abhail, *eadhon* uile chraobha na machrach, air seargadh: gu deimhin shearg aoibhneas air falbh o chloinn nan daoine.

13 Criosluichibh sibh féin *le eudach-saic*, agus tuiribh, O shagarta: deanaibh ulartaich, a luchd-frithealaidh na h-altarach: thigibh, luidhibh fad na h-oidhche ann an eudach-saic, òglacha mo Dhé: oir tha an tabhartas bìdh agus an tabhartas-dibhe air a chumail air ais o thigh ar Dé.

14 Naomhaichibhse trasg, gairmibh latha toirmisg, cruinnichibh na seanoirean, uile luchd-àiteachaidh na tìre, *gu* tigh an Tighearna ar Dé, agus glaodhaibh ris an Tighearn.

15 Och air son an là! oir tha là an Tighearna dlù, agus mar léir-sgrios o 'n Uile-chumhachdach thig e.

16 Nach 'eil ar lòn air a ghearradh as fa chomhair ar sùl? aoibhneas agus luaghair o thigh ar Dé?

17 Lobh an sìol f'a fhòidibh; dh' fhàgadh fàs na h-ionada-taisg; bhriseadh sìos na saibhlean: a chionn gu'n do shearg an t-arbhar.

18 Cionnus a tha na beathaichean ag osnaich? tha na buailtean spréidhe ann an airc, a chionn nach 'eil ion-altradh

[a] *fir-pòsda.*

altradh aca; tha na treudan chaorach
fòs air am milleadh.
19 Riutsa, O Thighearn, glaodh-
aidh mise: oir chaith an teine cluaint-
ean an fhàsaich, agus loisg an lasair
uile chraobha na machrach.
20 Tha beathaichean na machrach
fòs a' glaodhach riutsa: oir thiorm-
aicheadh suas na h-aibhnichean uisge,
agus chaith an teine cluaintean an
fhàsaich.

CAIB. II.

SEIDIBHSE an trompaid ann an
Sion, agus éighibh caismeachd
catha ann am shliabh naomh-sa:
criothnaicheadh uile luchd-àiteachaidh
na tìre: oir tha là an Tighearna a'
teachd, oir tha e am fagus.
2 Là dorchadais agus ogluigheachd:
là neul agus tiugh-dhorchadais; mar
an doilleireachd[a] air a sgaoileadh air
na sléibhtibh, *thig* sluagh lìonmhor a-
gus làidir; an leithide cha robh ann o
shean, agus cha bhi ni 's mò nan
déigh, eadhon gu bliadhnacha mhòran
ghinealach.
3 Rompa tha teine ri sgrios, agus
nan déigh tha lasair a' losgadh: tha
am fearann mar ghàradh Edein romp-
a, agus nan déigh na fhàsach uaig-
neach; seadh cha bhi dol as aig aon ni
uatha.
4 Bidh an coslas mar choslas each;
agus mar mharcaichean is amhluidh a
ruitheas iad.
5 Mar fharum charbad air mhull-
ach nam beann leumaidh iad; mar
thoirm lasrach theine a loisgeas an
asbhuain: mar shluagh làidir air an
cur an ordugh catha.
6 Roimh an gnùis bidh geur-ghoith
air an t-sluagh: tionailidh na h-uile
aghaidh dubhachas.
7 Ruithidh iad air an aghaidh mar
dhaoine cumhachdach; streapaidh iad
am balla mar luchd-cogaidh; agus
siùbhlaidh iad gach aon air a shlighe,
agus cha bhris iad an ordugh.
8 Ni mò theannaicheas aon air aon
eile; coisichidh iad gach aon na
cheum féin: agus ma thuiteas iad air
a' chlaidheamh, cha bhi iad air an
leònadh.
9 Ruithidh iad air an ais agus air
an aghaidh anns a' bhaile: ruithidh
iad air a' bhalla: streapaidh iad suas
do na tighean: théid iad a steach air
na h-uinneagaibh mar mheirleach.
10 Bidh ball-chrith air an talamh
rompa, criothnuichidh na nèamha:
bidh a' ghrian agus a' ghealach dorcha,
agus cumaidh na reultan air ais an
dealradh.
11 Agus cuiridh an Tighearn a
mach a ghuth fa chomhair 'fheachd:
oir tha a champ ro-mhòr; oir is
treun esan a thoirt gu buil 'fhocail;
oir tha là an Tighearna mòr a, 's ro-
uamhasach, agus cò dh'fheudas 'fhul-
ang?
12 Uime sin a nis mar an ceudna,
deir an Tighearn, pillibh do m' ionns-
uidh-sa le 'r n-uile chridhe, agus le
trasg, agus le gul, agus le caoidh.
13 Agus reubaibh 'ur cridhe, agus
ni h-e 'ur n-eudach; agus pillibh ris
an Tighearn bhur Dia: oir tha e trò-
caireach agus iochdmhor, mall a chum
feirge, agus làn do chaomhalachd, a-
gus gabhaidh e aithreachas mu 'n
olc.
14 Cò aig am bheil fios nach pill,
agus nach gabh e aithreachas, agus
nach fàg e beannachd na dhéigh, ta-
bhartas-bìdh agus tabhartas-dìbhe do
'n Tighearn bhur Dia.
15 Séidibh an trompaid ann an
Sion, naomhaichibh trasg, gairmibh
là toirmisg.
16 Cruinnichibh an sluagh, naomh-
aichibh an coimhthional; gairmibh
na seanoirean; tionailibh a' chlann,
agus iadsan a ta deòbhal na cìche:
rachadh am fear nuadh-pòsda mach
as a sheòmar, agus a' bhean-nuadh-
phòsda mach as a seòmar uaigneach.
17 Deanadh na sagairt, seirbhisich
an Tighearna, gul eadar an sgàth-
thigh agus an altair, agus abradh iad,
Coigil, O Thighearn, do shluagh, a-
gus na dthoir d'oighreachd thairis gu
masladh: a chum gu 'n riaghladh na
cinnich os an cionn: c' uim' an abradh
iad am measg nan cinneach, C' àit am
bheil an Dia?
18 An sin bidh an Tighearn eud-
mhor

[a] a *chamh*.

mhor m'a fhearann, agus gabhaidh e
truas d'a shluagh.
19 Seadh freagraidh an Tighearn,
agus their e r'a shluagh; Feuch, cuir-
idh mi d' ur n-ionnsuidh arbhar, agus
fion, agus oladh, agus bidh sibh air 'ur
sàsuchadh leo; agus cha dean mi sibh
ni 's mò 'nur masladh am measg nan
cinneach.
20 Ach atharraichidh mi am fad
uaibh *feachd* na h-airde tuath, agus
fògraidh mi e gu fearann falamh fàs-
ail, a thoiseach gus an fhairge 'n ear,
agus a dheireadh gus an fhairge 'n
iar; agus thig a bhréine nìos, agus
éiridh a dhroch bholadh, a chionn gu
'n do mhaoidh e nithe mòra.
21 Na biodh eagal ort, O fhear-
ainn, bi luaghaireach agus ait: oir ni
an Tighearn nithe mòra.
22 Na biodh eagal oirbh a bheath-
aiche na machrach: oir tha cluaint-
ean an fhàsaich a' briseadh a nìos; oir
tha a' chraobh a' giùlan a toraidh;
tha an crann-fige agus an fhìonan a'
toirt seachad a neirt.
23 Bithibh ait ma ta, O chlann
Shioin, agus deanaibh gairdeachas
anns an Tighearn bhur Dia; oir thug
e dhuibh an t-uisge a's toisiche ann an
ceart-thomhas; agus bheir e air fras-
aibh teachd a nuas chugaibh, an ceud
uisge, agus an t-uisge deireannach
amhuil roimhe so.
24 Agus bidh na h-ùrlair bhual-
aidh làn do chruineachd, agus cuiridh
na dabhacha thairis le fìon agus le h-
oladh.
25 Agus aisigidh mise dhuibh na
bliadhnachan a dh'ith an locust, a'
chnàmh-bheist, an cater-pileir, a
phailm-chnuimh, m' fheachd mòr, a
chuir mi 'nur measg.
26 Agus ithidh sibh ann am pailt-
eas, agus bithidh sibh sàthach, agus
cliùthaichidh sibh ainm an Tighearna
bhur Dia, a bhuin ruibh gu h-iong-
antach: agus cha nàraichear am feasd
mo shluagh-sa.
27 Agus aithnichidh sibh gu bheil
mise ann am meadhon Israeil, agus
gur mi an Tighearn 'ur Dia, agus
nach aon air bith eile: agus cha nàr-
aichear am feasd mo shluagh.
28 Agus tarlaidh na dhéigh sin gu
'n dòirt mise mach mo spiorad air
gach uile fheoil, agus ni 'ur mic agus
'ur nigheana fàisneachd, bruadairidh
'ur seann daoine bruadair, agus chi 'ur
n-òganaich feallaidhean:
29 Agus fòs air na h-òglachaibh
agus air na ban-oglachaibh, anns na
laithibh sin, dòirtidh mi mach mo
spiorad.
30 Agus nochdaidh mi iongantais
anns na nèamhaibh, agus air an ta-
lamh; fuil, agus teine, agus smùid-
rich dheathaich.
31 Iompaichear a' ghrian gu dorch-
adas, agus a' ghealach gu fuil, mu 'n
dthig là mòr agus uamhasach an
Tighearna.
32 Agus tarlaidh, ge b'e air bith a
ghairmeas air ainm an Tighearna,
tearnar e: oir ann an sliabh Shioin
agus ann an Ierusalem bidh tearnadh,
mar a thubhairt an Tighearn; eadhon
am measg an iarmaid a ghairmeas an
Tighearn.

CAIB. III.

OIR feuch, anns na laithibh sin,
agus anns an àm sin, trà bheir
mise air a h-ais bruid Iudah, agus Ie-
rusaleim, *tarlaidh*,
2 Gu 'n cruinnich mi na h-uile
chinnich, agus bheir mi sìos iad gu
gleann Iehosaphait, agus tagraidh mi
riu an sin air son mo shluaigh, agus
air son m' oighreachd Israeil, a sgap
iad am measg nan cinneach; agus
roinn iad mo dhùthaich.
3 Agus thilg iad croinn air son mo
shluaigh; agus thug iad macan air
son striopaich, agus reic iad nìonag
air son fìona, chum gu 'n òladh
iad.
4 Seadh, agus ciod 'ur gnothach-sa
rium-sa, O Thiruis, agus a Shidoin,
agus uile chrìocha Phaleistin? an dìol
sibh rium luigheachd? a nis ma bheir
sibh dhomh luigheachd, gu luath, gu
grad dìolaidh mi 'ur luigheachd air
'ur ceann féin;
5 A chionn gu 'n do ghabh sibh
m' airgiod agus m' òr, agus gu 'n do
ghiùlain sibh gu 'r teampuill mo nithe
luachmhor taitneach.
6 Clann Iudah fòs, agus clann Ie-
rusaleim reic sibh ris na Greugaich, a
chum

chum gu 'n atharraicheadh sibh iad
am fad o'n crìch féin.
7 Feuch togaidh mis' iad as an
àite gus an do reic sibh iad; agus
pillidh mi 'ur luigheachd air 'ur ceann
féin.
8 Agus reicidh mi 'ur mic agus 'ur
nigheana gu làimh cloinne Iudah; a-
gus reicidh iadsan iad ris na Sabéich,
ri sluagh fad as; oir labhair an Tigh-
earn *e.*
9 Eighibhse so am measg nan cinn-
each; ullaichibh cogadh, dùisgibh
suas na cumhachdaich; thigeadh na
fir-chogaidh uile am fagus, thigeadh
iad a nios.
10 Deanaibh claidhean do 'r colt-
raibh, agus sleaghan do 'r corranaibh
sgathaidh; abradh an lag, Tha mi
làidir.
11 Cruinnichibh sibh féin, agus
thigibh, a chinneacha gu léir, agus
tionailibh o gach taobh mu 'n cuairt:
an sin bheir thusa air na cumhachd-
aich teachd a nuas, O Thighearn.
12 Dùisgeadh na cinnich, agus
thigeadh iad a nìos gu gleann Iehosa-
phait: oir an sin suidhidh mise gu
breith a thoirt air na cinnich uile mu
'n cuairt.
13 Sàthaibh an corran, oir tha 'm
foghara abuich; thigibh, gabhaibh
sìos, oir tha an t-amar-fiona làn, tha
na dabhacha a' cur thairis: oir tha
an aingidheachd mór.
14 Mòr-chuideachda, mor-chuid-
eachda, ann an gleann a' ghearraidh;
oir tha là an Tighearna dlù ann an
gleann a' ghearraidh.
15 Dorchaichear a' ghrian agus a'
ghealach, agus cumaidh na reultan air
ais an dealradh.
16 Agus beucaidh an Tighearn a
mach a Sion, agus o Ierusalem cuiridh
e mach a ghuth, agus bidh crith air
na nèamhaibh, agus air an talamh:
ach bidh an Tighearn na ionad-dìdein
d'a shluagh; agus na dhaingneach
làidir do chloinn Israeil.
17 Mar sin aithnichidh sibh gur
mise an Tighearn 'ur Dia, a ta chòmh-
nuidh ann an Sion, mo shliabh naomh:
an sin bidh Ierusalem naomh, agus
cha dthéid coigrich d'a thrìd ni 's
mò.
18 Agus tarlaidh anns an là sin,
gu 'n sil na sléibhtean a nuas fìon
nuadh, agus sruthaidh na beannta le
bainne; agus sruthaidh uile aibhnich-
ean Iudah le h-uisgeachaibh; agus
thig tobar a mach o thigh an Tigh-
earna, agus uisgichidh e gleann Shitim.
19 Bidh an Eiphit na nochd-làraich,
agus bidh Edom na fhàsach uaign-
each; air son an ainneirt *an aghaidh*
cloinne Iudah; a chionn gu'n do
dhòirt iad fuil nan neo-chiontach nam
fearann.
20 Ach gabhaidh Iudah còmh-
nuidh gu sìorruidh, agus Ierusalem o
linn gu linn.
21 Agus glanaidh mise am fuil-san,
nach do ghlan mi; agus gabhaidh an
Tighearn còmhnuidh ann an Sion.

AMOS

CAIB. I.

BRIATHRAN Amois, a bha am
measg bhuachaillean Thecoa, a
fhuair e mu thimchioll Israeil, ann
an laithibh Usiah righ Iudah, agus
ann an laithibh Ieroboaim mhic Io-
hais, righ Israeil, dà bhliadhna roimh
an chrith-thalmhainn.
2 Agus thubhairt e; Beucaidh Ie-
hobhah o Shion, agus o Ierusalem
cuiridh e mach a ghuth; agus ni ion-
ada-còmhnuidh nam buachaille bròn,
agus seargaidh mullach Charmeil.
3 Mar so deir an Tighearn; Air
son thri lochdan Dhamascuis, agus air
son cheithir, cha phill mi air falbh a
pheanas; a chionn gu 'n do bhuail
iad Gilead le innealuibh-bualaidh iar-
uinn.
4 Ach cuiridh mise teine air tigh
Hasaeil, a loisgeas lùchairtean Bhen-
hadaid.
5 Brisidh mi fòs crann-druididh
Dhamascuis, agus gearraidh mi as am
fear-àiteachaidh o chòmhnard Abhein,
agus esan a ghlacas an t-slat-rioghail
o thigh Edein: agus siùbhlaidh sluagh
Shiria ann am bruid gu Cir, deir an
Tighearn.
6 Mar so deir an Tighearn; Air
son thri lochdan Ghasa, agus air son
cheithir, cha phill mi air falbh a
pheanas; a chionn gu 'n d'thug iad a'
bhruid uile air falbh am braighdean-
as, a chum an toirt seachad do E-
dom.
7 Ach cuiridh mi teine air balla
Ghasa, a sgriosas a lùchairtean.
8 Agus gearraidh mi am fear-àit-
eachaidh air falbh o Asdod, agus esan
a ghlacas an t-slat-rioghail o Ascelon,
agus tionndaidhidh mi mo làmh an
aghaidh Ecroin: agus bàsaichidh
fuigheall nam Philisteach, deir an
Tighearn Iehobhah.
9 Mar so deir an Tighearn; Air
son thri lochdan Thiruis, agus air son
cheithir, cha phill mi air falbh a
pheanas: a chionn gu 'n d'thug iad
suas a' bhruid uile do Edom, agus
nach do chuimhnich iad an coimh-
cheangal bràthaireil.
10 Ach cuiridh mi teine air balla
Thiruis, a loisgeas 'àrois rioghail.
11 Mar so deir an Tighearn; Air
son thri lochdan Edoim, agus air son
cheithir, cha phill mi air falbh a
pheanas; a chionn gu 'n do ruaig e a
bhràthair lèis a' chlaidheamh, agus
gu 'n do thilg e uaith na h-uile h-
iochd, agus gu 'n do reub 'fhearg do
ghnàth, agus gu 'n do ghléidh se a
chorruich an còmhnuidh.
12 Ach cuiridh mi teine air Te-
man, a loisgeas àrois Bhosrah.
13 Mar so deir an Tighearn; Air
son thri lochdan chloinne Amoin, a-
gus air son cheithir, cha phill mi air
falbh a *pheanas;* a chionn gu 'n do
reub iad suas mnathan torracha Ghil-
eaid, a chum an crìocha féin a chur
am farsuingeachd.
14 Ach fadaidh mise teine air balla
Rabah, agus loisgidh e sios 'àrois, le
iolaich ann an là a' chatha, le cuairt-
ghaoith ann an là na doininne.
15 Agus imichidh an righ ann am
braighdeanas, e féin agus a mhòr-
uaislean le chéile, deir an Tigh-
earn.

CAIB. II.

MAR so deir an Tighearn; Air
son thri lochdan Mhoaib, a-
gus

gus air ſon cheithir, cha phill mi air-
falbh a *pheanas:* a chionn gu 'n do
loiſg e cnàmhan [a] righ Edoim gu h-
aol.
2 Ach cuiridh mi teine air Moab,
agus loiſgidh e àrois Chirioit, agus
bàſaichidh Moab le co-ghaoir, le iol-
aich, le fuaim na trompaid.
3 Agus gearraidh mi as am breith-
eamh as a mheadhon, agus marbhaidh
mi 'uile phrionnſachan maille ris, deir
an Tighearn.
4 Mar ſo deir an Tighearn; Air
ſon thri lochdan Iudah, agus air ſon
cheithir, cha phill mi air falbh a
pheanas; a chionn gu 'n d' rinn iad
di-meas air reachd an Tighearna, a-
gus nach do choimhid iad 'àitheantan;
agus thug an *diadhan* bréige orra dol
air ſeachran, iad ſin a chaidh an aithr-
ichean air an déigh.
5 Ach cuiridh mi teine air Iudah,
agus loiſgidh e àrois Ieruſaleim.
6 Mar ſo deir an Tighearn; Air
ſon thri lochdan Iſraeil, agus air ſon
cheithir, cha phill mi air falbh a
pheanas; a chionn gu 'n do reic iad
am fìrean air ſon airgid, agus am
bochd air ſon bhròg.
7 Tha iad a' ſaltairt ſìos cheann
nam bochd ann an duſlach na talmh-
ainn, agus a' fiaradh ſlighe nan daoine
ciuine: agus tha duine agus 'athair a'
dol a ſteach a chum na h-aon ghruag-
aiche, a thruailleadh m' ainm naomha-
ſa.
8 Agus tha iad 'gan ſìneadh féin air
eudaichibh a ghabhadh an geall, aig
taobh gach altaire; agus tha iad ag
òl fìona na muinntir a dhìteadh ann
an tigh an dée.
9 Gidheadh ſgrios miſe an t-A-
morach rompa, a bha ard mar airde
nan ſeudar; agus làidir mar na dar-
agaibh: gidheadh ſgrios mis' a thor-
adh os a chionn, agus a fhreumha
fuidhe.
10 Fòs thug mi ſibhs a nìos o tha-
lamh na h-Eiphit, agus ſtiuir mi ſibh
tre 'n fhàſach dà fhichead bliadhna;
a chum gu 'n ſealbhaicheadh ſibh
fearann nan Amorach.
11 Agus thog mi ſuas *cuid* do 'r
macaibh air ſon fhàidhean, agus do 'r
n-òganachaibh air ſon Naſarach.
Nach ann mar ſo a ta e, O chlann Iſ-
raeil? deir an Tighearn.
12 Ach thug ſibh do na Naſaraich
fìon r'a òl, agus dh'àithn ſibh do na
fàidhean, ag ràdh, na deanaibh fàiſn-
eachd.
13 Feuch bruthaidh miſe bhur n-
àite, mar a bhruthas carbad luchd-
aichte le arbhar a ſguaban.
14 Agus tréigidh a luathas an
duine luath, agus cha bhi 'n duine
làidir treun 'na neart, ni mò ni 'n
duine cumhachdach e féin a ſhaor-
adh.
15 Cha ſeas eſan fòs a làimhſicheas
am bogha, agus cha ſaor an luath-
chaſach *e féin;* ni mò thearnas an ti
mharcaicheas an t-each e féin.
16 Agus eſan a ta daingneachadh
a chridhe am meaſg nan cumhachd-
ach, teichidh e air falbh rùiſgte ſan
là ſin, deir an Tighearn.

C A I B. III.

CLUINNIBH am focal ſo a labh-
air an Tighearn 'nur n-agh-
aidh, O chlann Iſraeil, an aghaidh an
uile theaghlaich a thug mi nìos o thìr
na h-Eiphit, ag ràdh,
2 Is ſibhſe mhàin air an do ghabh
mi eòlas do uile theaghlaichibh na
talmhainn: uime ſin ſmachdaichidh
mi ſibh air ſon 'ur n-uile lochdan.
3 Am feud dithis imeachd le chéile,
mur bi iad réidh?
4 Am beuc an leòmhann anns a'
choille, an uair nach 'eil creach air
bith aige? an éigh an leòmhann òg
as a' ghàraidh, mur do ghlac e aon
nì?
5 Am feud eun tuiteam ann an
lìon air an talamh, far nach 'eil aon
rib air a ſhon? an tog *neach* eangach
ſuas o'n talamh, agus gun ni air bith
a ghlacadh?
6 An ſéidear an trompaid ann am
baile, agus gun eagal a bhi air an t-
ſluagh? am bi *dòrainn* [b] ann am
baile, 's nach e 'n Tighearn a chuir
ann e?
7 Gu deimhin cha dean an Tigh-
earn

[a] *cnàimhean.* [b] *doſgann.*

earn Iehobhah aon ni gun a rùn-dìomhair fhoillseachadh d'a sheirbhisich na fàidhean.

8 Bheuc an leòmhann; cò air nach bi eagal? labhair an Tighearn Iehobhah, cò nach deanadh fàisneachd?

9 Cuiribh an céill anns na lùchairtibh an Asdod, agus anns na tallachaibh an tìr na h-Eiphit, agus abraibh, Cruinnichibh sibh féin air sléibhtibh Shamaria: agus feuchaibh an t-ioma-luasgadh mòr a ta na meadhon, agus iadsan a ta air an sàruchadh innte.

10 Oir cha 'n aithne dhoibh a' chòir a dheanamh, deir an Tighearn; tha iad a' tasgaidh suas fòirneirt agus creich nan lùchairtibh.

11 Air an aobhar sin, mar so deir an Tighearn Iehobhah, *Bidh* eascaraid fòs mu'n cuairt air an fhearann; agus bheir e nuas do neart uait, agus creachar do lùchairtean.

12 Mar so deir an Tighearn, Amhuil a spìonas am buachaille a mach a beul an leòmhainn dà chois, no mìr do chluais; mar sin bheirear a mach clann Israeil, a ta chòmhnuidh ann an Samaria, ann an cùil leapach; agus ann an Damascus, air uirigh.

13 Eisdibhse agus togaibh fianuis do thigh Iacoib, deir an Tighearn Iehobhah, Dia nan sluagh.

14 Anns an là sin an agair mise lochdan Israeil air, gun agair mi fòs air altairean Bheteil; agus gearrar adharca na h-altrach dhi, agus tuitidh iad chum an làir.

15 Agus buailidh mi 'n tigh-geamhraidh maille ris an tigh-shamhraidh; agus sgriosar na tighean deud-chnàmh, agus thig crìoch air na tighean mòra, deir an Tighearn.

C A I B. IV.

CLUINNIBHSE am focal so, O a spréidh Bhasain, a ta air sliabh Shamaria; a ta sàruchadh nam bochd, a ta bruthadh nam feumannach; a ta 'g ràdh ri 'm maighistiribh, Thugaibh do 'r n-ionnsuidh agus òlamaid.

2 Mhionnaich an Tighearn Iehobhah air a naomhachd, Feuch, gu 'n dthig oirbh na laithean anns an dthoir e sibh air falbh le dubhanaibh, agus 'ur sliochd le dubhanaibh-iasgaich.

3 Agus théid sibh a mach air na bealaich, gach *bò air a' bhealach* m'a coinneamh; agus tilgear sibh anns an tigh-chasgairt, deir an Tighearn.

4 Rachaibh gu Betel agus ciontaichibh; aig Gilgal deanaibh 'ur lochdan lìonmhor; agus thugaibh leibh 'ur n-ìobairtean gach maduinn, 'ur deachamh gach tri bliadhna.

5 Agus ìobraibh ìobairt-bhuidheachais le taois ghoirt, agus éighibh, cuiribh an céill na saor-thabhartais; oir tha so taitneach dhuibh, O chlann Israeil, deir an Tighearn Iehobhah.

6 Agus thug mi fòs dhuibh glaine fhiacal 'nur n-uile bhailtibh, agus gainne arain ann 'ur n-uile lùchairtibh: gidheadh cha do phill sibh riumsa, deir an Tighearn.

7 Agus chum mi uaibh mar an ceudna an t-uisge, 'nuair a bha fathasd tri mìosa gu foghara; agus thug mi air frasadh air aon bhaile, agus gun fhrasadh air baile eile; air aon chuid thàinig an t-uisge; agus a' chuid eile air nach d' thàinig an t-uisge, shearg.

8 Agus shiubhail dà no tri de bhailtean gu aon bhaile, a dh'òl uisge; ach cha robh iad air an sàsuchadh: gidheadh cha do phill sibh riumsa, deir an Tighearn.

9 Bhuail mi sibh le seargadh agus le crith-reodh; 'nuair a dh'fhàs 'ur gàraidhean agus 'ur fìon-liosan, 'ur crainn-fhìge, agus 'ur crainn-oladh, dh'ith a' phailm-chnuimh *iad:* gidheadh cha do phill sibh riumsa, deir an Tighearn.

10 Chuir mi 'n 'ur measg a' phlàigh, do réir nòis na h-Eiphit; mharbh mi 'ur n-òganaich leis a' chlaidheamh, agus thug mi air falbh 'ur n-eacha, agus thug mi air droch fhàile bhur campa teachd a nìos gu 'r pollairibh: gidheadh cha do phill sibh riumsa, deir an Tighearn.

11 Sgrios mi *cuid* dibh, mar a sgrios Dia Sodom agus Gomorrah, agus bha sibh mar aithinne air a spìonadh as an losgadh: gidheadh cha do phill sibh riumsa, deir an Tighearn.

12 Air an aobhar sin mar so ni mi
riut, O Israeil; agus a chionn gu'n
dean mi so riut, ullmhaich thu féin gu
codhail a chumail ri d' Dhia, O Israeil.
13 Oir feuch, esan a dhealbhas na
sléibhtean, agus a chruthaicheas a'
ghaoth, agus a dh'fhoillsicheas do
dhuine ciod is smaointe dha, esan a
ni a' mhaduinn na dorchadas, agus a
shaltras air ionadaibh arda na talmh-
ainn, Iehobhah, Dia nan sluagh, is e
'ainm.

C A I B. V.

EISDIBHSE am focal so a ta mise
a' cur an céill 'n'ur n-aghaidh,
eadhon tuireadh, O thigh Israeil.
2 Thuit, *agus* cha 'n éirich ni 's
mò, oigh Israeil: tha i sinte mach
air a fearann féin; cha 'n 'eil neach
ann d'a togail suas.
3 Oir mar so deir an Tighearn Ie-
hobhah; A' chathair a chaidh a mach
na mìle, fàgaidh i ceud; agus i sin a
chaidh a mach na ceud, fàgaidh i
deichnear aig tigh Israeil.
4 Uime sin, mar so deir an Tigh-
earn ri tigh Israeil; Iarruibhse mise,
agus mairidh sibh beo.
5 Ach na h-iarruibh Betel, agus na
rachaibh a steach gu Gilgal, agus na
siubhlaibh thairis gu Beer-seba; oir
théid Gilgal gu deimhin am braighd-
eanas, agus thig betel gu neo-ni.
6 Iarruibh an Tighearn agus mair-
idh sibh beo; air eagal gu 'm bris e
mar theine air tigh Ioseiph, agus gu
'n loisg e tigh Israeil, agus nach bi
aon neach ann gu 'mhùchadh.
7 Sibhse ta tionndadh breitheanas
gu searbhadas, agus a' leigeadh dhibh
fìreantachd air an talamh,
8 *Iarruibh esan* a ta deanamh nan
seachd reultan agus Orion; agus a'
tionndadh sgail' a' bhàis gu maduinn,
agus a ni an là dorcha mar an oidh-
che: a ta gairm air uisgeachaibh na
fairge, agus 'gan dòrtadh a mach air
aghaidh na talmhainn; is e Iehobhah
'ainm:
9 A neartuicheas an creachta an
aghaidh an trein; air chor as gu 'n
dthig an *duine* creachta an aghaidh an
daingnich.
10 Is fuath leo esan a bheir achasan
anns a' gheata; agus is gràin leo esan
a labhras gu h-ionraic.
11 Air an aobhar sin, a chionn gu
bheil sibh a saltairt air a' bhochd, a-
gus a' gabhail uaith duaise do chruin-
eachd; *ge do* thog sibh tighean do
chlachaibh snaighte, gidheadh cha 'n
àitich sibh iad; *ge do* shuidhich sibh
fìon-liosan taitneach, gidheadh cha 'n
òl sibh fìon diubh.
12 Oir is aithne dhomhsa bhur
lochdan lionmhor, agus 'ur peacanna
mòra; sibhse ta claoidh an fhìrein, a
ta gabhail cumha, agus a' cur a'
bhochd a leth-taobh anns a' gheata.
13 Air an aobhar sin fanaidh an
duine glic na thosd anns an àm sin;
oir is aimsir olc i.
14 Iarruibhse maith, agus ni h-e
olc, a chum gu mair sibh beo: agus
mar sin bidh an Tighearn Dia nan
sluagh leibh, mar a labhair sibh féin.
15 Fuathaichibh an t-olc, agus
gràdhaichibh am maith, agus daing-
nichibh breitheanas anns a' gheata;
theagamh gu 'm bi an Tighearn Dia
nan sluagh gràsmhor do iarmad Io-
seiph.
16 Oir mar so deir Iehobhah Dia
nan sluagh, an Tighearn; *Bidh* caoidh
anns na h-uile shràidibh, agus their
iad anns na h-uile ròidibh mòra, Mo
thruaighe, mo thruaighe! agus gairm-
idh iad an treabhaiche gu bròn, agus
iadsan a ta eòlach air caoidh gu tuir-
eadh.
17 Agus anns na h-uile fìon-lios
bidh caoineadh: oir gabhaidh mise
tre do mheadhon, deir an Tighearn.
18 Is truagh dhuibhse ta 'g iarr-
uidh là an Tighearna. Ciod e sin
duibhse là an Tighearna? dorchadas
agus cha 'n e solus.
19 Ceart mar gu 'n teicheadh
duine o leòmhann, agus gu 'n coin-
nicheadh math-ghamhuinn e; no gu
'n rachadh e steach d'a thigh, agus a
làmh a leigeadh air a' bhalla, agus gu
'n deanadh nathair a theumadh.
20 Nach bi là an Tighearna na
dhorchadas, agus ni h-ann na sholus?
eadhon ro-dhorcha, agus gun soilleir-
eachd air bith ann?
21 Is fuath leam, is beag orm 'ur
laithean féille, agus cha ghabh mi
tlachd

tlachd ann am boladh 'ur n-ard-fhéill-
ean.
22 Ged iobair sibh dhomh iobairt-
ean-loisgte, agus tabhartais-bhìdh, cha
ghabh mi *iad*: ni mò bheir mi fainear
tabhartais shìth 'ur beathacha reamh-
ra.
23 Beir uam fuaim d' òran; agus
ceòl do chlàrsach cha 'n éisd mi.
24 Ach ruitheadh breitheanas sìos
mar uisgeacha, agus fìreantachd mar
shruth làidir.
25 An do thairg sibh dhomhsa io-
bairtean agus tabhartais anns an fhàs-
ach rè dà fhichead bliadhna, O thigh
Israeil?
26 *Ni h-eadh*, ach ghiùlain sibh
pàilliun 'ur Moloich, reul 'ur dé
Chiuin, 'ur dealbhan, a rinn sibh
dhuibh féin.
27 Uime sin bheir mis' oirbh im-
eachd am bruid taobh thall Dhamas-
cuis, deir an Tighearn, do 'n ainm,
Dia nan sluagh.

C A I B. VI.

IS truagh dhoibhsan a ta gu suaimh-
neach ann an Sion, agus ag earb-
sa [illegible]bh Shamaria; a ta 'gan ainm-
eachadh féin air tùs nan cinneach, gus
am bheil imeachd tighe Israeil.
2 Siùbhlaibh thairis gu Calneh, a-
gus faicibh; agus rachaibh as sin gu
Hamat mòr: an sin rachaibh sìos gu
Gat nam Philisteach: am fearr iadsan
na na rioghachdan so? no 'm bheil
an crìocha ni 's mò na 'ur crìoch-
sa?
3 Is truagh dhoibh-san a ta cur an
droch latha fada uatha, agus a' toirt
am fagus àite-suidhe an fhoirneirt:
4 A ta luidhe air leapuichibh deud-
chnàmh, agus 'gan sìneadh féin air
an uirighibh; a ta 'g itheadh uan an
treud, agus nan laogh a meadhon an
tigh-bhiadhaidh.
5 A ta seinn do fhuaim na clàrs-
aich; a ta cosmhuil ri Daibhidh, a'
dealbh dhoibh féin inneala-ciuil:
6 A ta 'g òl fìona ann an cuach-
aibh, agus 'g an ungadh féin le tagha
gach oladh: ach nach 'eil doilich air
son amhghair Iosciph.
7 Air an aobhar sin a nis théid iad
am bruid leis a' cheud chuid a dh'
fhalbhas ann am braighdeanas; agus
bheirear air falbh cuirm na muinntir
a bha 'g an sìneadh féin.
8 Mhionnaich an Tighearn Ieho-
bhah air féin, deir Iehobhah Dia nan
sluagh; Is gràin leam òirdheirceas
Iacoib, agus is fuath leam a lùchairt-
ean: uime sin bheir mi seachad am
baile, agus gach ni ta ann.
9 Agus tarlaidh ma dh'fhanas
deichnear fhear ann an aon tigh, gu
faigh iad bàs.
10 Agus togaidh caraid duine suas
e, agus esan a loisgeas e, chum na
cnàmhan a thoirt a mach as an tigh;
agus their e ris-san a ta steach san
tigh, *am bheil aon neach* fathasd leat?
Agus their esan, Cha 'n 'eil. An sin
their e, Bi ad thosd. A chionn nach
'eil iad a' toirt luaidh air ainm Ieho-
bhah.
11 Oir feuch, àithnidh an Tigh-
earn, agus buailidh e 'n tigh mòr le
bearnaibh, agus an tigh beag le scolt-
aibh.
12 An ruith eich air carraig? an
treabhar i le daimh? oir thionndaidh
sibh breitheanas gu domblas, agus
toradh an ionracais gu iteodha.
13 Sibhse, a ta ri gairdeachas ann
an ni a's neo-ni; a ta ag ràdh, Nach
do ghabh sinn chugainn uachdranachd
le 'r neart féin?
14 Agus feuch, dùisgidh mise suas
cinneach 'n'ur n-aghaidh, O thigh
Israeil, deir Iehobhah Dia nan sluagh;
agus sàruichidh iad sibh o dhol a
steach Hamait, gu ruig abhainn an
fhàsaich.

C A I B. VII.

MAR so thaisbein an Tighearn
Iehobhah dhomhsa, agus feuch,
dhealbh e locuist ann an toiseach
teachd a nìos an fhàis mu dheire; a-
gus feuch, b'e sin am fàs deireannach,
an déigh buain an righ.
2 Agus tharladh tra chuir iad
crìoch air itheadh luibhean na tìre, gu
'n d' thubhairt mise, O Thighearna
Iehobhah, maith, guidheam ort; co
thogas suas Iacob? oir tha e ro-
bheag.

3 Ghabh

3 Ghabh an Tighearn aithreachas dheth so: Cha tachair so, deir an Tighearn.

4 Mar so thaisbein an Tighearn Iehobhah dhomhsa; agus feuch, ghairm an Tighearn Iehobhah gu breitheanas le teine, agus loisg e 'n doimhne mhòr: agus shluig e suas earrann.

5 An sin thuirt mise, O Thighearn Iehobhah, sguir, guidheam ort: cò thogas suas Iacob? oir tha e robheag.

6 Ghabh an Tighearn aithreachas dheth so: Cha tachair so fòs, deir an Tighearn Iehobhah.

7 Mar so thaisbein e dhomh; agus feuch sheas an Tighearn air balla *deanta* le sreing-riaghailt, agus sreang-riaghailt na làimh.

8 Agus thuirt an Tighearn rium; Ciod a tha thu faicinn, Amois? Agus thuirt mise, Sreang-riaghailt. An sin thuirt an Tighearn, feuch, cuiridh mise sreang-riaghailt ann am meadhon mo shluaigh Israeil, cha ghabh mi ni 's mò seachad orra tuille.

9 Agus cuirear ionadan arda Israeil fàs; agus nithear naomh-ionaid Israeil nan àraich sgaoilte, agus éiridh mise an aghaidh tighe Ieroboaim leis a' chlaidheamh.

10 An sin chuir Amasiah sagart Bheteil, fios gu Ieroboam righ Israeil, ag ràdh, Dhealbh Amos feall a'd' aghaidh ann am meadhon tighe Israeil: cha 'n urradh am fearann a bhriathran uile a ghiùlan.

11 Oir mar so deir Amos, Gheibh Ieroboam bàs leis a' chlaidheamh; agus bheirear Israel gu deimhin, air falbh ann am bruid as an tìr féin.

12 Thuirt Amasiah mar an ceudna ri Amos; O fhiosaiche, falbh, teich thusa gu tìr Iudah, agus ith aran an sin, agus an sin dean fàisneachd.

13 Ach na dean fàisneachd ni 's mò ann am Betel: oir is e sin naomh-ionad an righ, agus is e sin teach na rioghachd.

14 An sin fhreagair Amos, agus thubhairt e ri Amasiah, Cha b'fhàidh mise, ni mò bu mhac fàidhe mi; ach bu bhuachaille spréidhe mi, agus feartionail meas sicamoir.

15 Agus thug an Tighearn mi o bhi leantuinn an treud; agus thuirt an Tighearn rium, Falbh, dean fàisneachd do 'm phobull Israel.

16 A nis uime sin, cluinn thusa focal an Tighearna: tha thu 'g ràdh, Na dean fàisneachd an aghaidh Israeil, agus na sileadh d'fhocal an aghaidh tighe Isaaic.

17 Air an aobhar sin, mar so deir an Tighearn, Bidh do bhean na strìopaich anns a' bhaile, agus tuitidh do mhic agus do nigheana leis a' chlaidheamh; agus bidh d'fhearann air a roinn leis an t-sreing: agus gheibh thu bàs ann am fearann truailte, agus théid Israel gu deimhin air falbh ann am bruid, a mach as an dùthaich féin.

CAIB. VIII.

MAR so thaisbein an Tighearn Iehobhah dhomhsa; agus feuch, cliabh do mheas samhraidh.

2 Agus thubhairt e, Ciod a tha thu faicinn, Amois? Agus thuirt mise, Cliabh do mheas samhraidh. An sin thuirt an Tighearn rium; Tha a' chrìoch air teachd air mo shluaghsa Israel, cha ghabh mise seachad orra ni 's mò.

3 Agus bidh òrain an teampuill nan ulartaich anns an là sin, deir an Tighearn Iehobhah: *bidh* mòran do chorpa marbha anns gach ionad: tilgidh iad gu tosdach a mach *iad*.

4 Cluinnibh so, O sibhse ta slugadh suas an ainnis, eadhon a thoirt air bochdan an fhearainn fàilneachadh,

5 Ag ràdh, C' uin' a théid a' ghealach ùr seachad, a chum gu 'n reiceamaid sìol? agus an t-sàbaid, a chum gu 'n dthugamaid a mach cruineachd? A' deanamh an ephah beag, agus an t-seceil mòr; agus a' deanamh na meighe mearachdach le ceilg:

6 A' ceannach nam bochd air son airgid, agus an fheumannaich air son bhròg; a' reic fòs deireadh a' chruineachd.

7 Mhionnuich an Tighearn air oirdheirceas Iacoib, Gu deimhin cha dichuimhnich mi gu bràth an uile oibre.

8 Nach criothnuich am fearann air

son so? agus nach dean gach duine ta
chòmhnuidh ann caoidh? agus nach
éirich amhuil tuil thar an iomlan
deth? nach tilgear a mach, agus nach
bàthar e, mar gu 'm b' ann le abhainn
na h-Eiphit.
9 Agus tarlaidh air an là sin, deir
an Tighearn Iehobhah, gu 'n dthoir
mise air a' ghréin dol suidh air
mheadhon là, agus ni mi an talamh
dorch san là shoilleir.
10 Agus tionndaidhidh mi 'ur
féisdean gu bròn, agus 'ur n-òrain
uile gu tuireadh; agus bheir mi air
na h-uile leasraibh eudach-saic, agus
air gach aon cheann maoile: agus ni
mi e mar chumha air son aon mhic,
agus a chrìoch mar latha searbh.
11 Feuch tha na laithean a' teachd,
deir an Tighearn Iehobhah, san cuir
mise gort anns an fhearann; cha 'n i
gort *dhith* arain, no tart *dhith* uisge,
ach *dhith* éisdeachd fhocal an Tigh-
earna.
12 Agus siùbhlaidh iad o fhairge
gu fairge, agus o 'n airde tuath,
eadhon gus an airde 'n ear, ruithidh
iad air an ais agus air an aghaidh, a
dh'iarruidh focail an Tighearna, agus
cha 'n fhaigh iad e.
13 Anns an là sin fannaichidh na
h-òighean maiseach, agus na h-ògan-
aich le tart.
14 Iadsan a ta mionnachadh air
peaca Shamaria, agus ag ràdh, Tha
do dhia-sa beo, O Dhain, agus tha
cùis-aoraidh Bheer-seba beo; tuitidh
eadhon iadsan, agus cha 'n éirich iad
suas gu bràth tuille.

CAIB. IX.

CHUNNAIC mi 'n Tighearn na
sheasamh air an altair, agus thu-
bhairt e; Buail an t-ard-dhorus, air
chor as gu 'n criothnaich na h-ursann-
an: oir gearraidh mise sa' cheann iad,
an t-iomlan diubh; agus an sliochd
marbhaidh mi leis a' chlaidheamh;
an ti theicheas dhiubh cha dthéid e
as; agus an ti ghabhas an ruaig
dhiubh cha tearnar e.
2 Ged chladhaich iad gu ruig an
t-ionad ìochdrach, as sin bheir mo
làmhsa nios iad; ged streap iad suas
gu nèamh, as sin bheir mise nuas
iad:
3 Agus ged fholuich siad iad féin
ann am mullach Charmeil, rannsuich-
idh mise, agus bheir mi mach as sin
iad; agus ged bhiodh iad air am fol-
ach o m' shealladh ann an ìochdar na
fairge, an sin bheir mi àithne do 'n
nathair, agus ni i 'n teumadh.
4 Agus ged rach iad gu daorsa
roimh an naimhdean, an sin bheir
mise àithne do 'n chlaidheamh, agus
marbhaidh e iad: agus leagaidh mi
mo shùilean orra chum uilc, agus ni
h-ann a chum maith.
5 Oir is e 'n Tighearn Iehobhah
Dia nan sluagh, a bheanas ris an
fhearann, agus leaghaidh e; agus ni
na h-uile ta chòmhnuidh ann caoidh;
agus éiridh e suas gu h-iomlan mar
thuil, agus bàthar e, mar gu 'm b'
ann le abhainn na h-Eiphit.
6 Is esan a thogas 'ard-sheòmraich-
ean anns na nèamhaibh, agus a shuidh-
icheas a thigh-taisg air an talamh; an
ti ghairmeas air uisgeacha na fairge,
agus a dhòirteas iad a mach air agh-
aidh na talmhainn: is e Iehobhah
'ainm.
7 Nach 'eil sibh mar chloinn nan
Etiopach dhomhsa, O chlann Israeil?
deir an Tighearn. Nach d'thug mise
Israel a tìr na h-Eiphit: agus na Phi-
listich a Caphtor, agus na Siriaich a
Cir?
8 Feuch, tha sùilean an Tighearna
Iehobhah air an rioghachd chiont-
aich, agus sgriosaidh mise bharr agh-
aidh na talmhainn i: a mhàin cha
mhill mi gu tur tigh Iacoib, deir an
Tighearn.
9 Oir feuch, bheir mise àithne, a-
gus criathraidh mi tigh Israeil ann
am measg nan uile chinneach, mar a
chriathrar *siol* ann an criathar, gidh-
eadh cha tuit an sìlein a's lugha dheth
air an talamh.
10 Bàsaichidh uile pheacaich mo
shluaigh-sa leis a' chlaidheamh, a ta
'g ràdh, Cha bheir an t-olc oirnn, a-
gus cha ghlac e sinn gu h-obann.
11 Anns an là sin togaidh mise
suas pàilliun Dhaibhidh a ta air tuit-
eam, agus dùinidh mi suas a bhearn-

an; agus togaidh mi suas a làraich-
ean, agus cuiridh mi suas e mar anns
na laithibh o shean:
12 A chum gu 'n sealbhaich iad na
mhaireas do Edom, agus na h-uile
chinnich a dh'ainmichear air m' ainm-
sa, deir an Tighearn a ni so.
13 Feuch tha na laithean a' teachd,
deir an Tighearn, anns am beir an
treabhaiche air a bhuanaiche, agus
fear-bruthaidh nam fion-dhearc air
fear cur an t-sìl; agus silidh na
sléibhtean fìon milis, agus leaghaidh
na h-uile chnuic.
14 Agus bheir mise air a h-ais a
rìs bruid mo shluaigh Israeil, agus
togaidh iad na bailtean fàs, agus ni
iad an áiteachadh; agus suidhichidh
iad fìon-liosan, agus òlaidh iad am
fìon; ni iad fòs liosan, agus ithidh iad
an toradh.
15 Agus suidhichidh mise iad nam
fearann, agus cha bhi iad ni 's mò air
an spìonadh a nìos as an fhearann a
thug mise dhoibh, 'deir an Tighearn
do Dhia-sa.

OBADIAH.

OBADIAH

SEALLADH Obadiah. Mar so
deir an Tighearn Iehobhah do
thaobh Edoim: Chuala sinn aithris o
'n Tighearn, agus chuireadh teachd-
aire am measg nan cinneach, *ag ràdh*,
Eiribhse, agus éireamaidne suas na h-
aghaidh ann an cath.
2 Feuch rinn mise beag thu measg
nan cinneach: tha thu gu mòr air do
chuir fo dhi-meas.
3 Mheall uabhar do chridhe thu,
O thusa ta chòmhnuidh ann an sgeir-
ibh nan creag, ann ad chòmhnuidh
ard; a ta 'g ràdh ann ad chridhe, Cò
bheir a nuas mi chum an làir?
4 Ged ardaich thu thu féin mar an
iolair, agus ged shuidhich thu do
nead am measg nan reultan, as sin
bheir mise nuas thu, deir an Tigh-
earn.
5 Ma thig meirlich chugad, ma
thig gaduichean anns an oidhche,
(cionnus a ghearradh as thu!) nach
goideadh iad gus am biodh gu leòr
aca? nan dthigeadh luchd-tional nam
fion-dhearc chugad, nach fàgadh iad
dìolam do na dearcaibh?
6 Cionnus a ta Esau air iarruidh a
mach! a nithe foluichte air an rannf-
achadh!
7 Thug uile dhaoine do chomuinn
a chum na crìche thu; na daoine bha
'n sith riut, a dh' ith aran leat,
mheall iad thu, agus bhuadhaich iad
ann ad aghaidh: leag iad rib fodhad:
cha 'n 'eil tuigse sam bith annad.
8 Nach sgrios mise san là sin, deir
an Tighearn, araon na daoine glice
mach a h-Edom, agus tuigse a sliabh
Esau?
9 Agus claoidhear do dhaoine
treun-sa, O Themain; a chum gu 'n
gearrar as gach duine do shliabh Esau
le h-àr.
10 Air son d' ainneirt an aghaidh
do bhràthar Iacoib, ni nàire do
chòmhdachadh, agus bidh tu air do
ghearradh as gu bràth.
11 Anns an là san do sheas thu air
an taobh eile, anns an là san d' thug
na coimhich a shluagh am bruid, anns
an deachaidh coigrich a steach air a
gheatachan, agus anns an do thilg iad
crannchur air Ierusalem, *bha* eadhon
thusa mar aon diubh.
12 Ach cha bu chòir dhuit amharc *le
sòlas* air là do bhràthar, anns an là san
d' rinneadh coigreach dheth: ni mò
bu chòir dhuit gairdeachas a dhean-
amh os cionn cloinne Iudah ann an là
an léir-sgrios: ni mò bu chòir dhuit
labhairt gu h-uaibhreach ann an là an
amhghair.
13 Cha bu chòir dhuit dol a steach
air geata mo shluaigh-sa ann an là
an amhghair; seadh cha bu chòir
dhuit amharc *le sòlas* air an teinn ann
an là an airce; no làmh a chur air am
maoin ann an là an amhghair.
14 Ni mò bu chòir dhuit seasamh
anns an t-slighe tharsuing, a ghearr-
adh as na dream a chaidh as d'a
mhuinntir; ni mò bu chòir dhuit iad-
san a mhair d'a chuideachd a thoirt
suas ann an là na dòrainn.
15 Oir tha là an Tighearna dlù air
na h-uile chinnich: mar a rinn thusa,
nithear riut: pillidh do luigheachd air
do cheann féin.
16 Oir amhuil a dh'òl sibhse air
mo shliabh naomh-sa, òlaidh na h-uile
chinnich mu'n cuairt; seadh òlaidh,
agus

agus ſluigidh iad ſios; agus bithidh
iad mar nach biodh iad idir ann.
17 Ach air ſliabh Shioin bidh
ſaorſa, agus bidh naomhachd; agus
ſealbhaichidh tigh Iacoib an ſealbh
féin.
18 Agus bidh tigh Iacoib na
theine, agus tigh Ioſeiph na laſair;
agus tigh Eſau na aſbhuain, agus
laſaidh, agus loiſgidh iadſan iad; a-
gus cha bhi aon mairionn do thigh
Eſau; oir labhair an Tighearn.
19 Agus gabhaidh iadſan o dheas
ſealbh air ſliabh Eſau; agus iadſan
o 'n chòmhnard air na Philiſtich; a-
gus ſealbhaichidh iad machair Eph-
raim, agus machair Shamaria; agus
ſealbhaichidh Beniamin Gilead.
20 Agus *ſealbhaichidh* braighdean
an t-ſluaigh ſo chloinne Iſraeil, fear-
ann nan Canaanach, eadhon gu Sa-
rephat; agus ſealbhaichidh braighd-
ean Ierusaleim, a ta 'n Sepharad,
bailtean na h-airde deas.
21 Agus thig fir-ſhaoraidh nios air
ſliabh Shioin, a thoirt breith air ſliabh
Eſau; agus bidh an rioghachd leis an
Tighearn.

IONAH.

I O N A H

C A I B. I.

A NIS thàinig focal an Tighearna gu Ionah mac Amitai, ag ràdh;
2 Eirich, imich gu Ninebheh, am baile mòr ſin, agus tog do ghuth na aghaidh; oir tha an aingidheachd air teachd a nìos a'm' làthair-ſa.
3 Ach dh'éirich Ionah ſuas gu teicheadh do Tharſis o fhianuis an Tighearna; agus chaidh e sìos gu Jopa; agus fhuair e long a' dol gu Tarſis, agus phàigh e 'n luach-aiſig, agus chaidh e sìos innte, gu dol leo gu Tarſis, o làthair an Tighearna.
4 Ach chuir an Tighearn a mach gaoth mhòr air an fhairge, agus bha onfha ro-mhòr air an fhàirge; ionnus gu 'n do ſhaoil iad gu 'm biodh an long air a briſeadh.
5 An ſin bha eagal air na maraichean, agus ghlaodh iad gach duine r'a dhia; agus thilg iad a mach am bathar a bha ſan luing do 'n fhairge, chum a h eatromachadh: ach chaidh Ionah sìos gu taobhan na luinge; agus luidh e, agus bha e na ſhuain chadail.
6 An ſin thàinig maighſtir na luinge d'a ionnſuidh, agus thuirt e ris, Ciod is ciall duit, O thus' *a tha* 'n ad chadal? éirich, gairm air do Dhia; theagamh gu ſmaointich Dia oirnn, a chum nach bàſaich ſinn.
7 Agus thubhairt iad, gach aon r'a chompanach, Thigibh, agus tilgeamaid crainn, a chum gu 'n aithnicheamaid cò air ſon a ta 'n t-olc ſo air teachd oirnn. Mar ſin thilg iad crainn, agus thuit an crannchur air Ionah.
8 An ſin thuirt iad ris, Innis duinn, guidheamaid ort, ciod a b' aobhar do 'n olc ſo teachd oirnn; ciod is dreuchd [a] dhuit? agus cia as a thàinig thu? ciod is dùthaich dhuit? agus cò na daoine do 'm bheil thu?
9 Agus thuirt e riu, Is Eabhruidheach mi, agus tha eagal an Tighearna Dia nèimh orm, an Ti a rinn an cuan agus an *talamh* tioram.
10 An ſin bha na daoine fo anbharr eagail, agus thuirt iad ris, C'ar ſon a rinn thu ſo? (oir thuig na daoine gu 'n do theich e o làthair an Tighearna; oir dh'innis e dhoibh.)
11 An ſin thuirt iad ris, Ciod a ni ſinn riut, a chum gu 'm bi an fhairge ciuin dhuinn? (oir bha onfha na fairge a' fàs ni bu mhò 's ni bu mhò.)
12 Agus thuirt e riu, Togaibh ſuas mi, agus tilgibh a mach mi anns an fhairge; mar ſin bidh an fhairge ciuin dhuibhſe: oir tha fios agam gur ann air mo ſhon-ſa tha 'n doinionn mhòr ſo oirbh.
13 Gidheadh dh'iomraim na daoine gu cruaidh, a chum pilleadh gu tìr, ach cha b'urradh iad; oir dh'fhàs onfha na fairge ni bu mhò 's ni bu mhò nan aghaidh.
14 Air an aobhar ſin, ghlaodh iad ris an Tighearn, agus thubhairt iad, Guidheamaid ort, O Thighearn, na leig dhuinne bàſachadh air ſon anama an duine ſo, agus na leig oirnn fuil neo-

[a] *gnathas.*

neo-chiontach: oir rinn thuſa, O
Thighearn, mar a b'àill leat féin.
15 An ſin ghlac iad Ionah, agus
thilg iad a mach e anns an fhairge,
agus ſguir an fhairge d'a boile.
16 An ſin bha eagal an Tighearna
gu ro-mhòr air na daoine, agus dh'
ìobair iad ìobairt do 'n Tighearn, a-
gus thug iad bòidean.
17 A nis dh'ullaich an Tighearn
iaſg mòr chum Ionah a ſhlugadh ſuas;
agus bha Ionah ann am broinn an
éiſg tri laithean agus tri oidhchean.

CAIB. II.

AN ſin rinn Ionah urnaigh ris an
Tighearn a Dhia, a broinn an
éiſg,
2 Agus thubhairt e; Ghlaodh mi
do thaobh m' amhghair ris an Tigh-
earn, agus dh'éiſd e rium; a broinn
na h-uaighe ghlaodh mi; chuala tuſa
mo ghuth.
3 Oir thilg thu mi ſan doimhne,
ann am meadhon na fairge; agus dh'-
iadh na tuilteau mu 'm thimchioll;
chaidh do ſhumainnean agus do
thonnan-ſa uile tharum.
4 An ſin thubhairt mi, Tha mi air
mo thilgeadh a mach a fradharc do
ſhùl; gidheadh ſeallaidh mi a rìs ri
do theampull naomh.
5 Dh'iadh na h-uiſgeachan mu 'm
thimchioll, eadhon gu ruig an t-anam:
chòmhdaich an doimhne mi mu 'n
cuairt; bha mo cheann air a ribeadh
anns an fheamainn.
6 Chaidh mi ſìos gu h-ìochdar nan
ſléibhtean; dhruid an talamh a crainn
gu bràth orm: gidheadh thug thus'
a nìos as an t-ſlochd mo bheatha, O
Thighearn mo Dhia.
7 Tra lag air m'anam an taobh a
ſtigh dhiom, chuimhnich mi air an
Tighearn; agus thàinig m' urnaigh
chugad, gu d' theampull naomh.
8 Iadſan a ta leanmhuinn air
dìomhanaſa breugach, tha iad a'
tréigſinn an tròcair féin.
9 Ach ìobraidh miſe dhuitſe le
guth buidheachais; ìocaidh mi an ni
ſin a bhòidich mi; is ann do 'n Tigh-
earn a bhuineas ſlàinte.
10 Agus labhair an Tighearn ris
an iaſg, agus thilg e mach Ionah air
an talamh thioram.

CAIB. III.

AGUS thàinig focal an Tighearna
gu Ionah an dara uair, ag ràdh;
2 Eirich, imich gu Ninebheh, am
baile mòr ſin, agus labhair ris anns na
briathraibh [a] a dh'àithneas miſe dhuit.
3 Agus dh'éirich Ionah, agus chaidh
e gu Ninebheh, do réir focail an Ti-
ghearna. (A nis bu bhaile ro-mhòr
Ninebheh, aſtar thri laithean,)
4 Agus thòiſich Ionah air dol tre [b]
an bhaile, aſtar aon latha; agus
ghlaodh e, agus thubhairt e, Fathaſd
dà fhichead là, agus ſgrioſar Ninebheh.
5 Agus chreid muinntir Ninebheh
Dia, agus dh'éigh iad traſg, agus
chuir iad umpa eudach-ſaic, o'n aon
bu mhò dhiubh gus an aon bu lugha.
6 Oir thàinig an ſgeul gu righ Ni-
nebheh, agus dh'éirich e o a righ-
chaithir, agus chuir e 'fhalluing uaith,
agus chòmhdaich ſe e féin le eudach-
ſaic, agus ſhuidh e ann an luaithre.
7 Agus thug e fainear a ghlaodh-
ach agus a chur an céill feadh Nine-
bheh, (le ordugh an righ agus 'uais-
lean,) ag ràdh; Na blaiſeadh duine
no beathach, buair no treud, aon ni;
na h-ionaltradh iad, agus na h-òladh
iad uiſge.
8 Ach biodh duine agus ainmhidh
air an còmhdachadh le eudach-ſaic,
agus glaodhadh iad gu treun ri Dia:
ſeadh, pilleadh iad gach aon o 'dhroch
ſhlighe, agus o'n fhòirneart a ta nan
làmhan.
9 Cò aig am bheil fios nach pill
Dia, agus nach gabh e aithreachas,
agus nach pill e o 'dhian-chorruich;
air chor as nach bàſaich ſinn?
10 Agus chunnaic Dia an oibre, gu
'n do phill iad o 'n droch ſhlighe; a-
gus ghabh Dia aithreachas mu 'n olc a
thubhairt e gu 'n deanadh e orra, a-
gus cha d'rinn ſe e.

CAIB. IV.

AGUS mhi-thaitinn ſin ri Ionah
gu ro-mhòr, agus bha fearg
mhòr air.
2 Agus ghuidh e ris an Tighearn,
agus

[a] *éigh ris an éigh.* Eabh.

[b] *throimh.*

agus thubhairt e, Guidheam ort, O
Thighearn, nach dubhairt miſe ſo,
'nuair a bha mi fathaſd ann am
dhùthaich féin? Uime ſin theich mi
roimhe ſo gu Tarſis: oir bha fios
agam gur Dia gràſmhor thuſa, agus
tròcaireach, mall a chum feirge, agus
pailt ann an iochd, agus gu 'n gabh
thu aithreachas mu olc.
3 Uime ſin a nis, O Thighearn,
buin, guidheam ort, m' anam uam;
oir is fearr dhomh bhi marbh na beo.
4 An ſin thuirt an Tighearn, Am
maith a thig dhuit fearg a bhi ort?
5 A nis bha Ionah air dol a mach
as a' bhaile, agus ſhuidh e air an taobh
an ear do 'n bhaile, agus an ſin rinn e
dha féin bothan, agus ſhuidh e fuidhe
ſan dubhar, gus am faiceadh e ciod
a thachradh do 'n bhaile.
6 Agus dh'ullaich an Tighearn Dia
luibh-ſgàile, agus dh'fhàs i nìos os
cionn Ionah, a chum gu 'm biodh i
mar ſgàile thar a cheann, d'a ſhàoradh
o 'dhoilghios. Agus bha Ionah ro-ait
air ſon na luibh-ſgàile.
7 Ach dh'ullaich Dia cnuimh an
uair a dh'éirich a' mhaduinn air an
ath là, agus bhuail i an luibh-ſgàile,
agus ſhearg i.
8 Agus tharladh tra dh'éirich a'
ghrian, gu 'n do dheaſuich Dia gaoth
theath o 'n ear; agus bhuail a' ghrian
air ceann Ionah, ionnus gu 'n d'
fhannuich e, agus ghuidh e ann féin
bàs ſhaotainn, agus thubhairt e, Is
fearr dhomh bhi marbh na beo.
9 Agus thuirt Dia ri Ionah, An
ceart dhuit do chorruich a bhi air
laſadh air ſon na luibh-ſgàile? Agus
thuirt eſan, Is ceart domh a bhi ann
an corruich gu bàs.
10 An ſin thuirt an Tighearn,
Choigleadh tuſa an luibh-ſgàile, air
ſon nach do ſhaothairich thu, ni mò
thug thu air fàs; a thàinig a nìos ann
an oidhche, agus a chaidh ſeachad
ann an oidhche.
11 Agus nach coiglinn-ſa Nine-
bheh, am baile mòr ſin, anns am
bheil tuille as sè fichead mìle pearſa,
do nach aithne an làmh dheas ſeach
an làmh chlì; agus mòran ſpréidhe?

MICAH.

CAIB. I.

FOCAL an Tighearna, a thàinig
gu Micah am Moraſtach, ann
an laithibh Iotaim, Ahais, Heſeciah,
righrean Iudah; a chunnaic e do
thaobh Shamaria agus Ieruſaleim.
2 Eiſdibh, O ſhlòigh, an t-iomlan
dibh: thoir fainear, O thalaimh, agus
na h-uile ta ann; agus biodh an Tigh-
earn Iehobhah na fhianuis 'nur n-
aghaidh, an Tighearn a 'theampull
naomh.
3 Oir feuch thig an Tighearn a
mach as 'àite; agus thig e nuas, agus
ſaltraidh e air ionadaibh arda na tal-
mhainn.
4 Agus leaghar na ſléibhtean
fuidhe, agus ſgoiltear na gleannta:
mar chéir fa chomhair an teine, mar
uiſgeachan a dhòirtear thar bruaich
chorraich.
5 Air ſon eaſontais Iacoib tha ſo
uile, agus air ſon lochdan tighe Iſ-
raeil. Ciod e eaſontas Iacoib? Nach
e Samaria? agus ciod iad ionadan
arda Iudah? nach iad *ſin a ta 'n* Ieru-
ſalem?
6 Uime ſin ni miſe Samaria na
carn ſa' mhachair, na h-àit air ſon
ſuidheachaidh fhìon-lios; agus taom-
aidh mi sìos a clachan do 'n ghleann,
agus leigidh mi ris a bunaite.
7 Agus briſear a dealbhan ſnaighte
gu léir nam bloighdibh, agus loiſgear
a tuaraſdal gu léir le teine, agus an t-
iomlan d'a h-ìodholaibh leigidh miſe
sìos nan làraich: oir do thuaraidal
ſtrìopaiche chruinnich i *a h-iomnais;*
agus do thuaraſdal ſtrìopaiche pillidh
iad.
8 Air an aobhar ſin ni miſe caoidh
agus ard-ghul; ſiubhlaidh mi rùiſgte
agus lomnochd: ni mi caoidh mar
na dragoin, agus cumha mar nigheana
na caillich-oidhche.
9 Oir tha a creuchd do-leigheas,
oir thàinig i gu Iudah; thàinig i gu
geata mo ſhluaigh-ſa, gu Ieruſalem.
10 Na cuiribh an céill e ann an
Gat; na guilibh air aon chor; ann
an tigh Aphrah aornagain thu féin
ſan luaithre.
11 Imich air falbh, a bhean-àit-
eachaidh Shaphir, le d' nàire air a
leigeadh ris: cha deachaidh luchd-
àiteachaidh Shanain a mach gu tuir-
eadh: O Bheteſeil, gheibh e uaibhſe
àite ſeaſaimh.
12 Gu dearbh tha bean-àiteachaidh
Mharoit a' feitheamh air ſon maith;
gu dearbh thàinig olc a nuas o 'n
Tighearn gu geata Ieruſaleim.
13 Ceangail an carbad ris an each
luath, O thuſa ta 'g àiteachadh La-
cheis. B' iſe bu toiſeach peacaidh do
nighean Shioin: oir annadſa fhuair-
eadh eaſaontais Iſraeil.
14 Uime ſin bheir thu tiolacan do
Mhoreſet-Gat: bidh tighean Achſib
nam mealladh do righribh Iſraeil.
15 Agus bheir miſe oighre chug-
adſa, O bhean-àiteachaidh Mhareſah;
thig e gu Adulam, glòir Iſraeil.
16 Dean maol thu féin, agus dean
do bhearradh air-ſon do chloinne
àillidh; ſgaoil, mar an iólair, do
mhaoile; oir dh'fhalbh iad uait am
braighdeanas.

CAIB. II.

IS truagh dhoibhſan a ta dealbh
aingidheachd, agus a' cur an
gniomh

gnìomh uilc air an leapuichibh; an
uair a shoillsicheas a' mhaduinn tha
iad 'g a dheanamh, a chionn gu bheil
e 'n comas an làimhe.
2 Agus tha iad a' sanntachadh
mhachraichean, agus 'gan glacadh le
fòirneart, agus thighean, agus tha iad
'gan toirt air falbh: mar sin tha iad
a' sàruchadh duine agus a thighe;
duine mhòir agus 'oighreachd.
3 Air an aobhar sin, mar so deir an
Tighearn; Feuch, an aghaidh an
Teaghlaich so tha mise a' dealbh uilc,
o nach buin sibh air falbh 'ur muineil,
ni mò dh'imicheas sibh gu h-uaibh-
reach: oir is aimsir olc so.
4 Anns an là sin togar cosalachd
'nur n-aghaidh, agus nithear tuireadh
le cumha brònach, ag ràdh; Tha sinn
gu tur air ar creachadh; dh'athar-
ruich e cuibhrionn mo shluaigh:
cionnus a dh'atharruich e uam-e?
roinn e ar machraichean, a shaoil sinn
a bhiodh air an aiseag dhuinn féin.
5 Gu dearbh cha bhi aon neach
agad a shìneas a mach sreang le
crannchur ann an coimhthional an
Tighearna.
6 Na deanuibhse fàisneachd, O
sibhse ta ri fàisneachd: cha dean iad
fàisneachd dhoibh; cha dthoir esan
air falbh am masladh.
7 Am bheil tigh Iacoib ag ràdh,
Am bheil Spiorad an Tighearna air a
chughannachadh? an iad so a
ghnìomhara? nach 'eil mo bhriath-
ransa a' deanamh maith do 'n neach a
ghluaiseas gu h-ionraic?
8 Ach o chian fada dh'éirich mo
shluagh suas mar nàmhaid: tha sibh
a' spìonadh na falluinge, maille ris an
trusgan, o'n mhuinntir a ta 'g imeachd
seachad gu tèaruinte, mar dhaoine
gun spéis do chogadh.
9 Mnathan mo phobuill thilg sibh
a mach o'n tighibh taitneach; o'n
cloinn thug sibh air falbh mo ghlòir
gu bràth.
10 Eiribh, agus imichibh, oir cha
'n i so '*ur* còmhnuidh: a chionn gu
bheil e air a shalachadh, sgriosar e;
agus bidh an sgrios mòr.
11 Ma ni duine sam bith, ag im-
eachd ann an spiorad bréige agus
ceilg, fàisneachd dhuit air son fìona 's
air son dibhe làidire, bidh eadhon esan
na fhàidh do 'n t-sluagh so.
12 Cruinnichidh mi gu cinnteach,
O Iacoib, an t-iomlan diotsa: cruinn-
ichidh mi gu cinnteach, iarmad Is-
raeil; cuiridh mi iad le chéile mar
chaoirich Bhosrah, mar threud ann
am meadhon am mànrach[a]: ni iad
farum mòr le lionmhoireachd
dhaoine.
13 Thàinig am fear-brisidh a nìos
rompa: bhris iad an geata, agus
chaidh iad troimhe; agus chaidh iad
a mach d'a thrid; agus siùbhlaidh an
righ air an toiseach, eadhon an Tigh-
earn air an ceann.

C A I B. III.

AGUS thubhairt mi, Eisdibh,
guidheam oirbh, O cheannarda
Iacoib, agus a phrionnsacha tighe Is-
raeil; nach buin duibhse fios a bhi
agaibh ciod a tha ceart?
2 Sibhse ta fuathachadh a' mhaith,
agus a' gràdhachadh an uilc; a ta
spìonadh dhiubh an craicinn, agus am
feòla bharr an cnàmh:
3 A ta fòs ag itheadh feòla mo
shluaigh-sa, agus a' fionnadh dhiubh
an craicinn, agus a' briseadh an
cnàmh, agus 'gan gearradh nam
bloighdibh, mar fheòil air son na
poite, agus mar bhiadh ann am meadh-
on a' choire.
4 An sin glaodhaidh iad ris an
Tighearn, ach cha chluinn e iad:
folaichidh e fòs a ghnùis uatha san àm
sin, mar a ghiùlain siad iad féin gu
h-olc nan gnìomharaibh.
5 Mar so deir an Tighearn mu
thimchioll nam fàidhean a ta toirt air
mo shluagh-sa dol air seachran, a ta
teumadh le 'm fiaclaibh, agus a'
glaodhach, Sìth: ach air son an ti
nach cuir nam beul, tha iad ag ullach-
adh cogaidh na aghaidh.
6 Air an aobhar sin thig oidhche
oirbh, air chor as nach faic sibh seall-
adh; agus thig dorchadas oirbh, air
chor as nach dean sibh fàisneachd
agus théid a' ghrian sìos air na fàidh-
ean,

[a] *an crò.*

ean, agus bidh an là os an cionn
dorcha.

7 An sin bidh nàire air na siosaich-
ean, agus amhluadh air na fàidhean;
seadh, comhdaichidh iad uile am beul,
oir cha 'n 'eil freagradh air bith o
Dhia.

8 Ach gu deimhin tha mise làn do
chumhachd, do spiorad an Tighearna,
agus do bhreitheanas, agus do neart;
a leigeadh ris 'easaontais do Iacob, a-
gus a pheacaidh do Israel.

9 Cluinnibh so, guidheam oirbh, a
cheannarda tighe Iacoib, agus a luchd-
stiuraidh tighe Israeil; sibhse aig am
bheil fuath do bhreitheanas, agus a ta
fiaradh gach uile cheartais:

10 A ta a' togail Shioin suas le fuil,
agus Ierusaleim le do-bheart.

11 Tha an ceannardan a' toirt
breith air son duaise, agus an sagairt
a' teagasg air son tuarasdail, agus am
fàidhean a' fàisneachd air son airgid;
gidheadh leigidh iad an taice ris an
Tighearn, ag ràdh; Nach 'eil an Ti-
ghearn 'nar meadhon? cha dthig
aon olc oirnn.

12 Uime sin, air 'ur son-sa bidh
Sion air a treabhadh mar mhachair,
agus bidh Ierusalem na carnaibh; a-
gus sliabh an tighe mar ionada arda
na frìthe.

C A I B. IV.

ACH tarlaidh anns na laithibh
deireannach gu 'm bi sliabh
tighe an Tighearna air a dhaingneach-
adh air mullach nan sliabh, agus ard-
uichear e os cionn nam beann agus
sruthaidh na slòigh d'a ionnsuidh.

2 Agus théid mòran chinneach, a-
gus their iad, Thigibh, agus racham-
aid suas gu sliabh an Tighearna, agus
gu tigh Dhé Iacoib; agus teagaisgidh
e dhuinn m'a shlighibh, agus gluaisidh
sinne na cheumaibh: oir a Sion théid
an lagh a mach, agus focal an Tigh-
earna a Ierusalem.

3 Agus bheir e breith am measg
mhòran shluagh, agus bheir e achasan
do chinneachaibh làidir fad as; agus
buailidh iad an claidhean gu coltair,
agus an sleaghan gu corranaibh-sgath-
aidh: cha tog cinneach claidheamh an
aghaidh cinnich, agus cha 'n fhogh-
luim iad cogadh ni 's mò.

4 Ach suidhidh iad, gach duine
fuidh 'fhìneamhuin, agus fuidh
'chrann-fìge féin, agus cha chuir aon
neach eagal orra: oir beul Iehobhah
Dhia nan sluagh labhair e.

5 Oir gluaisidh na h-uile shluagh,
gach aon ann an ainm a dhé féin; ach
gluaisidh sinne ann an ainm Iehobhah
ar Dé-ne, gu saoghal nan saoghal.

6 Anns an là sin, deir an Tigh-
earn, cruinnichidh mi ise ta bacach,
agus tionailidh mi ise ta air a fògradh
a mach, agus ise a chuir mi fuidh
amhghar.

7 Agus ni mi ise bha bacach na h-
iarmad, agus ise bha air a tilgeadh
air falbh, na cinneach làidir; agus
rìaghlaidh an Tighearn os an cionn
ann an sliabh Shioin, o so a mach,
eadhon gu siorruidh.

8 Agus thusa, O thùir an treud, a
dhaingnich làidir nighinne Shioin,
thig *d' am-sa*; agus pillidh an t-sean
uachdranachd, an rioghachd, gu nigh-
inn Ierusaleim.

9 A nis c' ar son a ta thu glaodh-
ach gu h-ard? am bheil righ air bith
annad? an do bhàsaich d'fhear-comh-
airle? oir ghlac ioghanna thu, mar
mhnaoi ri saothair.

10 Bi ann an saothair, agus beir, O
nighean Shioin, mar mhnaoi ri saoth-
air [a]: oir a nis théid thu mach as a'
chathair, agus gabhaidh tu còmhnuidh
anns a' mhachair, agus théid thu
eadhon gu Babilon; an sin saorar thu;
an sin fuasglaidh an Tighearn thu a
làimh do naimhdean.

11 A nis fòs tha mòran chinneach
air cruinneachadh a' d' aghaidh, a ta
'g ràdh, Biodh i air a truailleadh, a-
gus faiceadh ar sùil *ar miann* air
Sion.

12 Ach cha 'n aithne dhoibh so
smaointe an Tighearna, ni mò thuig-
eas iad a chomhairle: oir ni e an
cruinneachadh mar na sguaban a'chum
an urlair.

13 Eirich agus buail an t-arbhar,
O nighean Shioin, oir ni mise d' adh-
arc

[a] *na luidh-shùbbla.*

arc na h-iarunn, agus d'ionganna nan
umha; agus buailidh tu nam bloighd-
ibh mòran chinneach; agus coisrigidh
tu an ionmhas do 'n Tighearn; agus
am maoin do Thriath na talmhainn
uile.

C A I B. V.

A NIS cruinnich thu féin ann am buidhnichibh, O nighean bhuidhnichean: chuairtich iad le feachd sinn; bhuail iad le slait air a' ghial breitheamh Israeil.

2 Agus thusa, a Bhetlchem-Eph-
ratah, *ged* tha thu beag am measg
mhìltean Iudah; *gidheadh* asad thig a
mach chugam-sa neach a bhios na
uachdaran air Israel; aig an robh a
dhol a mach o shean, o laithibh na
siorruidheachd.

3 Air an aobhar sin bheir e thairis
iad, gus an t-àm anns an dthoir ise,
ta gu leanabh a bhreth, dhachaidh
clann; agus gus an iompaichear
fuigheall am bràithrean, maille ri
macaibh Israeil.

4 Agus seasaidh e, agus ionaltraidh
e *a threud* ann an neart an Tigh-
earna; ann am mòrachd ainme an
Tighearna a Dhia; agus bidh iadsan
air an iompachadh: oir a nis bidh
esan mòr gu ruig crìocha na talmh-
ainn.

5 Agus bidh esan na shìth. 'Nuair
a thig an t-Asirianach d'ar tìr, agus a
shaltras e nar lùchairtibh, an sin tog-
aidh sinn na aghaidh seachd buach-
aillean, agus ochd cinn-fheadhna
sluaigh.

6 Agus cuiridh iad fearann Asiria
fàs leis a' chlaidheamh, eadhon fear-
ann Nimroid na dhol a steach: mar
so saoraidh iad sinn o 'n Asirianach
'nuair a thig e chum ar fearainn, agus
'nuair a shaltras e 'n taobh a stigh
d'ar crìochan.

7 Agus bidh fuigheall Iacoib am
measg mhòran shluagh, mar an drùchd
o'n Tighearn, mar na frasan air an
fheur nach feith ri duine, 's nach fan
ri macaibh dhaoine.

8 Agus bidh fuigheall Iacoib am
measg nan cinneach, am meadhon
mhòran shluagh, mar leòmhann am
measg bheathaichean na frìthe, mar
chuilean leòmhainn am measg nan
treuda caorach: e sin, ma théid e
roimhe, araon saltraidh sìos, agus
reubaidh, agus cha tèaruinn aon neach.

9 Togar do làmh suas os cionn do
naimhdean, agus bidh d' eascairdean
gu léir air an gearradh as.

10 Agus tarlaidh anns an là sin,
deir an Tighearn, gu'n gearr mise do
chuid each a mach as do mheadhon,
agus sgriosaidh mi do charbaid.

11 Agus gearraidh mi as bailtean
d'fhearainn, agus tilgidh mi sìos d'
uile dhaingnichean.

12 Agus gearraidh mi na druidh-
ean a mach as do mheadhon, agus ci a
bhi fiosaichean air bith agad.

13 Do dhealbhan snaighte mar an
ceudna gearraidh mi as, agus do
dhealbhan seasmhach a mach as do
mheadhon: agus cha dthoir thu ni 's
mò aoradh do obair do làimh.

14 Agus spìonaidh mi nìos do
dhoireachan as do mheadhon: sgrios-
aidh mi fòs do naimhdean [a]:

15 Agus ni mi dioghaltas, ann am
feirg, agus ann an corruich, air na
cinnich, ionnus nach cual iad *a leith-
id.*

C A I B. VI.

EISDIBHSE nis ciod a deir an Tighearn: Eirich, tagair fa chomhair nam beann, agus cluinneadh na cnuic do ghuth.

2 Eisdibhse, O shléibhte, coi-stri an
Tighearna; agus sibhse, a bhunaite
làidir na talmhainn. Oir tha coi-stri
aig an Tighearn r'a shluagh, agus
tagraidh e ri Israel.

3 O mo shluagh, ciod a rinn mise
ort? agus ciod anns an do sgìthich mi
thu? tog fianuis am aghaidh.

4 Oir thug mi nìos thu a tìr na h-
Eiphit; agus a tigh nan tràillean
shaoir mi thu; agus chuir mi romhad
Maois, Aaron, agus Miriam.

5 O mo shluagh, cuimhnich a nis
ciod a' chomhairle ghabh Balac righ
Mhoaib; agus ciod am freagradh a
thug Balaam mac Bheoir dha, o Shi-
tim

[a] *bhailtean.*

tim gu Gilgal; a chum gu 'n aithnich
sibh fireantachd an Tighearna.
6 Ciod leis an dthig mi ann am
fianuis an Tighearna; leis an striochd
mi mi féin an làthair an Dia a's airde?
an dthig mi na fhianuis le iobairtibh-
loisgte; le laoigh a bhios bliadhna dh'
aois?
7 Am bi an Tighearn toilichte le
miltibh do reitheachaibh, le deich
miltibh do shruthaibh ola? an dthoir
mi mo cheud-ghin *air son* mo chionta;
toradh mo chuirp *air son* cionta m'
anama?
8 Dh'fheuch e dhuit, O dhuine,
ciod a tha maith; agus ciod a tha an
Tighearn ag iarruidh ort, ach ceartas
a dheanamh, tròcair a ghràdhachadh,
agus gluasad gu h-iriosal maille ri d'
Dhia.
9 Tha guth an Tighearna glaodh-
ach ris a' bhaile, agus bheir an duine
glic fainear d' ainm: éisdibhse an t-
slat, agus an Ti a dh'orduich i.
10 Am bheil fathast ionmhasa na
h-aingidheachd ann an tigh an droch
dhuine; agus an tomhas gann a ta
grâineil?
11 Am meas mise glan i leis na
meighibh eucorach, agus le màla nan
cothroma cealgach?
12 Aig am bheil a daoine beartach
làn ainneirt: agus labhair a luchd-
àiteachaidh breugan; agus tha an
teanga cealgach nam beul.
13 Uime sin tionsgnaidh mise air
do bhualadh, air do dheanamh fàs air
son do lochdan.
14 Ithidh tu, ach cha sàsuichear
thu; agus bidh do leagadh ann ad
mheadhon; agus gabhaidh tu greim,
ach cha ghléidh thu: agus an ni sin
a ghléidheas tu, bheir mise do 'n
chlaidheamh.
15 Cuiridh tu, ach cha bhuain thu:
bruthaidh tu *meas* a' chrainn-ola, ach
cha 'n ung thu thu féin le h-ola; a-
gus dearcan an fhion-nuadh, ach cha
'n òl thu fion.
16 Oir choimhid thu reachdan
Omri, agus uile oibre tighe Ahaib;
agus tha sibh ag imeachd nan comh-
airlibh; a chum gu 'n deanuinnse na
h-ionad-fàs i, agus a luchd-àiteach-
aidh nan sgeig; agus gu 'n giùlain
sibhse masladh mo shluaighse.

CAIB. VII.

MO thruaighe mise! oir dh'fhàs
mi mar luchd-tionail a' mheas
shamhraidh; mar luchd-dioluim an
fhion-fhogharaidh: cha 'n 'eil aon
bhaguide r'a itheadh: tha m'anàm ag
iarruidh a' cheud thoraidh.
2 Bhàsaich an t-ionracan as an
fhearann, agus cha 'n 'eil neach treibh-
dhireach am measg dhaoine: tha iad
uile a' gabhail fàth air son fala: tha
iad, gach aon, a' sealg a bhràthar le
lion.
3 A chum gu 'n dean iad olc le
uile dhìcheall an làmh; tha am
prionnsa agus am breitheamh ag iarr-
uidh duaise: agus tha an duine mòr
a' foillseachadh a dhroch thograidh:
mar sin tha iad 'ga phasgadh suas.
4 Tha 'n ti 's fearr dhiubh mar
dhris; tha 'n ti 's ionraice nam measg
mar phris dhroighinn; *is e so* là do
luchd-faire; tha do smachdachadh air
teachd; a nis bithidh iad ann an im-
cheist.
5 Na h-earbaibh a caraid; na cuir-
ibh muinighinn ann am fear-iuil: o'n
té a luidheas ann ad uchd gléidh dorsa
do bheoil.
6 Oir tha am mac a' toirt eas-onoir
do 'n athair; tha an nighean ag éirigh
suas an aghaidh a màthar, bean a'
mhic an aghaidh a màthar-chéile: is
iad naimhdean duine muinntir a thighe
féin.
7 Ach seallaidh mise ris an Tigh-
earn: bidh mo dhòchas ann an Dia mo
shlàinte: éisdidh mo Dhia rium.
8 Na dean gairdeachas a' m' agh-
aidh, O mo nàmhaid; ged thuit mi,
éiridh mi; ged shuidheam ann an
dorchadas, bidh an Tighearn na shol-
us dhomh.
9 Giùlainidh mi corruich an Tigh-
earna, a chionn gu 'n do pheacaich mi
na aghaidh; gus an tagair e mo
chùis, agus an dthoir e breith air mo
shon: bheir e mach mi chum an t-
soluis; chi mi 'fhìreantachd.
10 Agus chi mo nàmhaid sin, agus
còmhdaichidh nàire ise thuirt rium,

C' àit' am bheil an Tighearn do Dhia?
chì do shùilean *am miann* oirre; a nis
saltrar sios i mar chlàbar nan sràid-
ean.

11 Anns an là sam bi do bhallach-
an air an togail; anns an là sin cuir-
ear am fad uait an t-ordugh.

12 Anns an là sin fòs thig iad do
d'ionnsuidh o Asiria, agus o na bailt-
ibh daingnichte; agus o'n daingneach
eadhon gus an abhainn; agus o fhairge
gu fairge, agus o shliabh gu sliabh.

13 Gidheadh bidh an talamh na
fhàsach, air son a luchd-àiteachaidh,
air son toraidh an deanadais.

14 Beathaich do shluagh le d' luirg,
treud d' oighreachd, a ta gabhail
còmhnuidh gu h-uaigneach san
fhrìth; ann am meadhon Charmeil
ionaltradh iad, ann am Basan agus
Gilead, mar anns na laithibh o shean.

15 Mar anns na laithibh san d'
thàinig iad a mach a tìr na h-Eiphit,
nochdaidh mise dhoibh nithe mìor-
bhuileach.

16 Chi na cinnich, agus bidh iad
fo amhluadh air son an uile chumh-
achd: cuiridh iad *an* làmh air an
beul, bidh *an* cluasan bodhar.

17 Imlichidh iad an duslach mar
nathair; gluaisidh iad a mach às an
tuill mar chnuimhean na talmhainn:
bidh eagal orra roimh an Tighearn
ar Dia-ne, agus bidh iad fo gheilt air
do shon-sa.

18 Cò a's Dia ann cosmhuil riutsa,
a mhaitheas aingidheachd, agus a
ghabhas seachad air easaontas iarmaid
'oighreachd? cha ghléidh se a chor-
ruich gu siorruidh, a chionn gur
toigh leis tròcair.

19 Pillidh e a rìs, gabhaidh e truas
dinn: còmhdaichidh e ar n-easaont-
ais: seadh tilgidh tu an uile lochdan
ann an doimhneachdan na fairge.

20 Coimhlionaidh tu an fhìrinn do
Iacob, agus an tròcair do Abraham, a
mhionnuich thu do 'r n-aithrichean o
na laithibh o shean.

NAHUM

CAIB. I.

AN fhàisneachd mu thimchioll Ni-
nebheh. Leabhar seallaidh Na-
huim an Elcosich.
2 Tha Dia eudmhor, agus ni an
Tighearn dioghaltas, ni an Tighearn
dioghaltas, agus tha e ann am feirg; ni
an Tighearn dioghaltas air 'eascaird-
ibh; agus taisgidh e *corruich* air son a
naimhdean.
3 Tha 'n Tighearn mall a chum
feirge, agus mòr ann an cumhachd,
agus cha saor an Tighearn air chor air
bith *an t-aingidh*. Anns a' chuairt-
ghaoith agus anns an doinninn tha a
shlighe, agus is iad na neoil luaith-
readh a chas.
4 Bheir e achasan do 'n fhairge, a-
gus ni e tioram i; agus tiormaichidh
e suas na h-aibhnichean uile: shearg
Basan agus Carmel; agus tha blàth
Lebanoin air crìonadh.
5 Criothnaichidh na sléibhtean
roimhe-san, agus leaghaidh na cnuic;
agus tha an talamh air a losgadh suas
na làthair; an saoghal, agus 'uile
luchd-àiteachaidh.
6 Cò a's urradh seasamh roimh
'fhearg-san? agus cò dh'fheudas fuir-
each ann an dian-theas a chorruich?
tha a chorruich air a dòrtadh a mach
mar theine, agus tha na creagan air
an tilgeadh sìos leis
7 Is maith an Tighearn, is daing-
neach làidir e ann an là na *h-airce*,
agus is aithne dha iadsan a ta cur ann
an dòchais.
8 Ach le tuil a' ruith thairis bheir
e crìoch iomlan air an dream a dh'
éireas na aghaidh; agus ruaigidh
dorchadas a naimhdean.
9 Ciod a tha sibh a' smaointeach-
adh an aghaidh an Tighearna? ni e
crìoch iomlan; cha 'n éirich amh-
ghar suas an dara uair.
10 Oir am feadh a ta iad air am
filleadh[a] anns a' chéile mar sgith-
each; agus mar gu 'm b' ann air
mhisg le 'm fion, caithear iad mar as-
bhuain làn thioram.
11 Asadsa chaidh aon a mach a
dhealbh olc an aghaidh an Tighearna;
droch fhear-comhairle.
12 Mar so deir an Tighearn, Ged
tha iad sâmhach, agus fòs lìonmhor,
gidheadh gearrar as iad, agus siubhl-
aidh iad air falbh. Ge do rinn mi
thusa chlaoidh, cha chlaoidh mi thu
ni 's mò.
13 Oir a nis brisidh mi a chuing-
san dhiot, agus sgaoilidh mi as a'
chéile do chuibhriche an.
14 Agus thug an Tighearn àithne
mu d' thimchioll, nach froisear a
mach d' ainm ni 's mò. A mach a
tigh do dhée gearraidh mise an ìomh-
aigh shnaighte, agus an ìomhaigh
leaghta; orduichidh mi d' uaigh, oir
dh'fhàs thu gràineil.
15 Feuch air na sléibhtibh casan
an ti a ta toirt deagh sgeoil leis, a ta
craobh-sgaoileadh sìth: O Iudah,
gléidh d' ard-fhéillean; coimhlion do
bhòidean: oir cha siubhail an *t-aing-
idh* ni 's mò tromhad; tha e gu tur
air a ghearradh as.

CAIB. II.

THA esan a phronnas ann am
bloighdibh air teachd a nìos
fa d' chomhair; gléidh an daingneach,
cuir faire air an t-slighe, dean do leas-
raidh

[a] *prabadh.*

raidh làidir, neartuich gu treun do thumhachd.

2 Oir aisigidh an Tighearn a rìs òirdheirceas Iacoib, mar òirdheirceas Israeil: oir mhill an luchd-millidh[a] iad, agus sgrios iad an geugan.

3 Rinneadh sgiath a dhaoine cumhachdach dearg, tha na gaisgich ann an sgarlaid: bidh na carbaid mar leusa lasrach ann an là ulmhaichidh; agus crathar gu h-uamhasach na *sleaghan* giumhais.

4 Bidh na carbaid air boile anns na sràidibh, buailidh iad an aghaidh a' chéile anns na h-ionadaibh farsuing: bidh an dreach mar leois, ruithidh iad mar dhealanaich.

5 Airmhidh e 'dhaoine treun a rìs: leagaidh iad sìos nan imeachd: ni iad deifir a chum a bhallaidh, agus ulmhaichear an dìdein.

6 Fosgailear geatacha na h-aibhne, agus bidh an lùchairt air a sgaoileadh.

7 Agus bheirear Husab air falbh am bruid, bheirear suas i; agus a gruagaichean na co-imeachd mar le guth choluman, a' bualadh air an uchd.

8 Ach tha fruthan Ninebheh mar linne uisge; agus tha iadsan a' teicheadh. Seasuibh, seasuibh; ach cha seall aon neach na dhéigh.

9 Glacaibhse a' chreach airgid, glacaibh a' chreach òir: oir cha 'n 'eil crìoch air an ionmhas ghlòrmhor, leis gach uile sheòrsa do shoithichibh rìomhach.

10 Tha i falamh, agus faoin, agus fàs, agus tha an cridhe a leaghadh, agus na glùinean a' bualadh air a' chéile; agus tha mòran cràidh anns na h-uile leasraibh; agus tha an aghaidhean gu léir a' tional dorchadais.

11 C' àit am bheil còmhnuidh nan leòmhann, agus àite beathachaidh nan leòmhann òga? far an do ghluais an leòmhann, an seann leòmhann, agus cuilean an leòmhainn, gun aon air bith a chur geilt *orra*.

12 Reub an leòmhann gu leòr air son a chuileanan, agus mharbh e air son a leòmhanna-boirionn, agus lìon e 'thuill le cobhartach, agus 'uaimh le creich.

13 Feuch tha mise ann ad aghaidh, deir Tighearn nan sluagh, agus loisgidh mi do charbadan san teine; agus ithidh an claidheamh do leòmhainn òga; agus gearraidh mise do chreach o 'n talamh, agus cha chluinnear ni 's mò guth do theachdairean.

C A I B. III.

IS truagh do 'n chathair fhuiltich! tha i uile na ceilg, làn do reubainn; cha 'n 'eil sgur air a' chreich.

2 Fuaim slait-sgiùrsaidh, agus torman farum nan rothan, agus nan each meamnach, agus nan carbad leumnach!

3 Togaidh am marcach suas araon an claidheamh loinreach, agus an t-sleagh lìomhaidh; agus tha mòran do mhairbh ann, agus àireamh mòr do chorpaibh: cha 'n 'eil crìoch air *an* cairbhinnibh; tha iad a' tuisleachadh air an corpaibh:

4 Air son lìonmhoireachd striopachais na striopaiche maisich, banmhaighstir nan druidheachdan; a ta reic chinneach le a striopachas, agus theaghlaichean le a druidheachdan.

5 Feuch, tha mis' a' d' aghaidh, deir Tighearn nan sluagh, agus leigidh mi rìs do sgiortan air d' aghaidh, agus foillsichidh mi do na cinnich do lomnochduiche, agus do na rioghachdaibh do mhasladh.

6 Agus tilgidh mi salchar gràineil ort, agus ni mi suarrach thu, agus cuiridh mi thu mar bhall-amhairc.

7 Agus tarlaidh, iadsan uile dh' amhairceas ort, gu 'n teich iad uait, agus their iad, Rinneadh Ninebheh na fàsach, cò chaoidheas i? cia as a dh' iarras mi luchd-cofhurtachd air do shon?

8 Am fearr thusa na No sluaghmhor a bha air a suidheachadh am measg nan aibhnichean; aig an robh na h-uisgeachan mu 'n cuairt di, aig an robh an fhairge mar dhìdein, agus a' mhuir mar bhalla?

9 B'e Etiopia a neart agus an Eiphit,

[a] *dh' fholmhuich an luchd-folmhachaidh.* Eabh.

phit, agus bha ſin an-bharr: b' iad
Put agus Lubim a luchd-cuideach-
aidh.
10 Gidheadh thugadh air falbh i,
dh'imich i ann am braighdeanas: bha
a clann òg fòs air am pronnadh nam
bloighdibh aig ceann nan uile ſhràid-
ean: agus thilg iad crainn air ſon a
daoine urramach, agus bha a daoine
mòra gu léir air an ceangal ann
an ſlabhruidhean.
11 Bidh tuſa fòs air mhiſg; fol-
aichidh tu thu féin, iarruidh tu dìdein
o 'n nàmhaid.
12 Bidh d'uile dhaingnichean làid-
ir *mar* chrainn-fhìge leis na ceud
fhìgibh abuich: ma chrathar iad,
tuitidh iad ann am beul an ti a dh'
itheas iad.
13 Feuch, tha do dhaoine mar
mhnathan ann ad mheadhon: ſgaoil-
ear gu farſuing do d' naimhdibh geat-
acha do thìre; caithidh an teine do
chrainn-dhruididh.
14 Tarruing uiſge dhuit féin air
ſon an fheachda, neartuich do dhaing-
nichean làidir: rach a ſteach do 'n
chriadh agus poſt an làthach; daing-
nich an àth-chriadha.
15 An ſin ni an teine do chaith-
eamh, gearraidh an claidheamh as
thu: ithidh e ſuas thu mar a' chnàmh-
chnuimh: dean thu féin lìonmhor
mar a' chnàmh-chnuimh, dean thu
féin lìonmhor mar an locuſt:
16 Rinn thu do luchd-malairt lìon-
mhor thar reulta nèimhe: millidh a'
chnàmh-chnuimh, agus ſiùbhlaidh i
air falbh.
17 Tha iadſan a chrùnadh annad
mar na locuiſt, agus do chinn-fheadh-
na mar na ſionnain-fheoir, a chòmh-
nuicheas anns na barranaibh[a] ſan
latha fhuar; ach 'nuair a dh'éireas a'
ghrian teichidh iad air falbh, agus cha
'n 'eil fios cia an t-àite 'm bheil iad.
18 Tha do bhuachaillean ri clò-
chadal, O righ Aſiria: tha d' uaiſlean
nan tàmh: tha do ſhluagh air an
ſgapadh air na ſléibhtean, agus cha 'n
'eil aon neach ann d' an cruinneach-
adh.
19 Cha 'n 'eil leigheas air do
bhruthadh; tha do lot nimhneach;
na h-uile chluinneas iomradh ort,
buailidh iad am baſan os do chionn;
oir cò air nach do ſhiubhail d' olc an
còmhnuidh?

[a] *callaidibh.*

HABACUC

CAIB. I.

AN fhàisneachd a chunnaic Habacuc am fàidh.
2 Cia fhad, O Thighearn, a ghlaodhas mi, agus nach éisd thu? a ghlaodhas mi riut air son fòirneirt, agus nach saor thu?
3 C' ar son a ta thu nochdadh dhomh aingidheachd, agus a' toirt orm sealltuinn air doilghios? oir tha creach agus fòirneart fa 'm chomhair; agus luchd-dùsgaidh strì agus aimh-réite.
4 Air an aobhar sin, tha an reachd air fàilneachadh, agus cha 'n 'eil breitheanas uair air bith a' dol a mach: oir tha an ciontach ag iadhadh mu thimchioll an fhìrein: uime sin tha breitheanas eucorach a' dol air aghaidh.
5 Faicibh am measg nan cinneach, agus amhaircibh, agus gabhaibh iongantas gu mòr: oir ni mise obair 'nur làithibh, nach creid sibh ged innsear i duibh.
6 Oir feuch, dùisgidh mi suas na Caldéich, an cinneach searbh agus easgaidh sin, a dh'imicheas trìd leud an fhearainn, a ghabhail seilbh air na h-àiteacha-còmhnuidh nach leo féin.
7 Tha iad uamhasach agus eagalach: thig am breitheanas agus an òirdheirceas a mach uatha féin.
8 Tha 'n eich fòs ni 's luaithe na liopaird, agus tha iad ni 's buirbe na madaidh-alluidh an anmoich: agus sgaoilidh am marcaichean iad féin, agus thig am marc-shluagh o iomachein: itealaichidh iad mar an iolair a dheifricheas gu itheadh.
9 Thig iad uile air son ainneirt: sgriosaidh iad rompa mar a' ghaoth an ear; agus cruinnichidh iad braighdean mar a' ghaineamh.
10 Agus ni iad sgeig air righribh, agus bidh prionnsachan nan cuismhagaidh dhoibh: ni iad fanoid air gach daingneach làidir; agus cruachaidh iad suas talamh, agus glacaidh iad e.
11 An sin caochlaidh an inntinn, agus siùbhlaidh iad air falbh, agus measar iad ciontach. Tha an neart so aca o an dia.
12 Nach 'eil thusa o shìorruidheachd, O Thighearn, mo Dhia-sa, m' Aon naomh? cha bhàsaich sinn. O Thighearn, dh'orduich thu iadsan air son breitheanais; agus O Dhé chumhachdaich, dhaingnich thu iad air son smachdachaidh.
13 Tha do shùile ni 's glaine na gu 'n seall thu air olc, agus cha 'n fheud thu amharc air aingidheachd: c' uim' am bheil thu 'g amharc air luchd-ceannairc, agus a' fantuinn a'd' thosd an uair tha 'n t-aingidh a' slugadh suas an duine 's ionraice na e féin?
14 Agus c'uim' *am bheil* thu deanamh dhaoine mar iasga na fairge, mar na nithe snàgach aig nach 'eil aon fhear-riaghlaidh os an cionn?
15 Tha iad 'gan togail suas uile leis an dubhan; tha iad 'gan glacadh nan lìon, agus 'gan cruinneachadh nan eangaich; uime sin tha iad aoibhneach agus ait.
16 Air an aobhar sin tha iad ag ìobradh d'an lìon, agus a' losgadh tùise d'an eangaich: a chionn leo sin gu bheil an cuibhrionn reamhar, agus an lòn pailte.

17 An

17 An dean iad air an aobhar sin
an lion falamh, agus nach coigil iad a
bhi sìor-mharbhadh nan cinneach?

CAIB. II.

SEASAIDH mi air m'fhaire, agus
cuiridh mi mi féin air an tùr, a-
gus feuchaidh mi ciod a their e rium,
agus ciod a fhreagras mi 'nuair a
chronuichear mi.
2 Agus fhreagair an Tighearn mi,
ag ràdh; Sgrìobh an fhàisneachd, a-
gus dean soilleir i air clàraibh, air
chor as gu feud esan ruith a leughas i.
3 Oir tha 'n fhàisneachd fathasd
air son aimsir shònraichte, ach air a'
cheann mu dheire labhraidh i, agus
cha dean i breug: ged dhean i maille,
feith rithe; oir gu deimhin thig i,
cha bhi i air dheire [a].
4 Feuch, cha 'n 'eil 'anam-san a ta
air a thogail suas, ceart an taobh a
stigh dheth: ach mairidh am fìrean
beo le a chreideamh.
5 Seadh fòs mar dhuine théid as an
rathad le fìon, tha e uaibhreach, agus
cha 'n 'eil e gabhail fois; a' meudach-
adh a chìocrais mar an uaigh; agus
mar am bàs cha 'n fheudar a shàsuch-
adh; agus tha e cruinneachadh chuige
nan uile chinneach, agus a' tional dha
féin nan uile shluagh.
6 Nach tog iad so uile suas cosal-
achd na aghaidh, agus gnàth-fhocal
tàmailteach m'a thimchioll, ag ràdh,
Is truagh dha-san a mheudaicheas an
ni nach leis féin! cia fhad? agus dha-
san a luchdaicheas e féin le cré thiugh.
7 Nach éirich iadsan gu grad suas
a theumas thu; agus nach dùisg iad-
san a chuireas dragh ort? agus nach
bi thusa dhoibh mar chobhartach?
8 A chionn gu 'n do chreach thu
mòran chinneach, creachaidh uile
iarmad nan cinneach thusa: air son
fala dhaoine, agus sàruchaidh an fhear-
ainn, na cathrach, agus a h-uile luchd-
àiteachaidh.
9 Mo thruaighe esan a ta sannt-
achadh droch shainnt d'a thigh; a
chum a nead a shuidheachadh gu h-
ard; gu e féin a shaoradh o chumh-
achd àmhghair.
10 Dhealbh thu nàire do d' thigh,
le mòran shluagh a ghearradh as; a-
gus pheacaich thu 'n aghaidh d' an-
ama féin.
11 Oir glaodhaidh a' chlach a mach
as a' bhalla; agus freagraidh an t-sail
as an fhiodh i.
12 Is anaoibhinn dha-san a thogas
baile le fuil, agus a dhaingnicheas
cathair le aingidheachd.
13 Feuch, nach ann o Thighearn
nan sluagh a ta so, gu 'n saothairich-
eadh daoine anns an teine, agus gu'n
sgìthicheadh slòigh iad féin air son ni-
faoin?
14 Gu cinnteach lìonar an talamh
le eòlas glòire an Tighearna, mar a ta
na h-uisgeachan a còmhdachadh na
fairge.
15 Is anaoibhinn dha-san a tha
toirt air a choimhearsnach òl, a ta cur
ris a' chopain, agus 'ga chur air mhisg
mar an ceudna, chum gu 'n amhairc-
eadh e air a lomnochduiche.
16 Tha thu air do lìonadh le nàire
'n àite glòire: òl thusa fòs, agus
biodh do roimh-chraicionn air a leig-
eadh ris: riutsa pillear cupan laimhe
deise an Tighearna; agus bidh sgeith
nàrach air do ghlòir.
17 Oir ni ainneart Lebanoin do
chòmhdachadh, agus cuiridh sgrios
ainmhidhean eagal ort; air son fala
dhaoine, agus air son sàruchaidh an
fhearainn, na cathrach, agus a h-uile
luchd-àiteachaidh.
18 Ciod an tairbhe tha san ìomh-
aigh shnaighte, gu 'n d' rinn am fear
a dhealbh i a snaigheadh: anns an
ìomhaigh leaghta, agus ann am fear
teagasg nam breug, gu 'n earbadh
fear-deanaidh na h-oibre so aisde, a
dheanamh ìodhola balbha?
19 Is truagh dha-san a deir ris an
fhiodh, Dùisg: ris a' chloich bhailbh,
Eirich. An teagaisg i? Feuch, tha i
air a cur thairis le h-òr agus airgiod;
agus cha 'n 'eil anail air bith an taobh
a stigh dh'i.
20 Ach tha an Tighearn na theam-
pull naomh: bi d' thosd na fhianuis,
O thalaimh uile.

CAIB.

[a] *esan a tha teachd, thig e, cha bhi e ro-anmoch*

CAIB. III.

URNAIGH Habacuc an fhàidh
air Sigionot.
2 O Thighearn, chuala mi do
chainnt; bha eagal orm: O Thigh-
earn, ath-bheothaich d' obair ann am
meadhon nam bliadhnachan, ann am
meadhon nam bliadhnachan dean
aithnichte; ann an corruich cuimhn-
ich tròcair.
3 Thàinig Dia o Theman, agus an
Ti naomh o shliabh Pharain. Selah.
Chòmhdaich a ghlòir na nèamha, a-
gus bha an talamh làn d'a chliù.
4 Agus bha a shoillseachd mar a'
ghrian; o a làimh *sruth* dèarsanna
soluis; agus an sin bha àite foluich a
mhòrachd.
5 Roimh a ghnùis chaidh a'
phlàigh; agus chaidh eibhle teine
mach o 'chasaibh.
6 Sheas e, agus thomhais e 'n tal-
amh: dh'amhairc e, agus sgap e na
cinnich as a' chèile; agus bha na
slèibhte siorruidh air am briseadh;
chrom na cnuic bhi-bhuan; tha a
shlighe mairtheannach.
7 Chunnaic mi pàilliuna Chusain
ann an amhghar: chriothnuich brat-
sgàile fearainn Mhidiain.
8 An robh corruich air an Tigh-
earn ris na tuiltibh? an robh d'fhearg
an aghaidh nan aibhnichean? an robh
do chorruich an aghaidh na fairge, gu
'n do mharcaich thu air d' eachaibh,
agus air do charbadaibh slàinte?
9 Rinneadh do bhogha glan-
rùisgte, do rèir nam mionn do na
treubhaibh, *eadhon* d'fhocail. Selah.
Sgoilt thu an talamh le sruthaibh.
10 Chunnaic na slèibhtean thu agus
chriothnuich iad: ghabh tuil nan
uisgeachan seachad: chuir an t-aigein
a mach a ghuth, thog an doimhne
suas a làmhan.
11 Sheas a' ghrian agus a' gheal-
ach nan àite: *nan* solus shiubhail do
shaighdean; *nan* dealradh do shleagh-
an liomhaidh.
12 Dh' imich thu trìd an fhearainn
ann am fearg, bhuail thu na cinnich
ann an corruich.
13 Chaidh thu mach air son tearn-
aidh do shluaigh, air son tearnaidh do
mhuinntir ungta: bhuail thu 'n ceann
o thigh an aingidh; leig thu ris na
bunaite gu ruig a' mhuineil. Selah.
14 Bhuail thu le d' shlait ceann a
bhailtean. Ruith iad a mach mar
chuairt-ghaoith gu ar sgapadh; bha
an gairdeachas mar gu'n sluigeadh iad
am bochd gu h-uaigneach.
15 Choisich thusa trìd na fairge le
d' eachaibh: trìd cruinneachaidh nan
uisgeacha mòra.
16 Tra chuala mi, chriothnaich mo
chom: bha mo bhile air crith ro d'
ghuth: chaidh lobhadh a steach ann
am chnàmhaibh, agus chriothnaich
mi ann am àite; a chum gu 'm biodh
fois agam ann an là an amhghair: tra
thèid e suas an aghaidh an t-sluaigh,
agus a chlaoidheas e iad le 'bhuidh-
nichibh.
17 Ge nach dthoir an crann-fige
uaith blàth, agus ge nach fàs air an
fhìonain cinneas; ged fhàilnich meas
a' chrainn-ola, agus ge nach dthoir
na machraichean uatha lòn; ged
ghearrar an treud as o 'n mhainnir,
agus ge nach bi buar air bith air na
buailtibh;
18 Gidheadh ni mise gairdeachas
anns an Tighearn, ni mi aoibhneas
ann an Dia mo shlàinte.
19 Is e 'n Tighearn Iehobhah mo
neart, agus ni e mo chasan mar *chas-
aibh* èilde, agus bheir e orm coiseachd
air m' ionadaibh arda. Do 'n ard-
fhear-chiuil air m' innealaibh teudach.

SEPHANIAH.

C A I B. I.

FOCAL an Tighearna a thàinig gu
Sephaniah mac Chuſi, mhic
Ghedaliah, mhic Amariah, mhic Hiſ-
ciah, ann an laithibh Ioſiah, mhic A-
moin, righ Iudah.
2 Sgrioſaidh miſe gu tur na h-uile
nithe bharr aghaidh an fhearainn,
deir an Tighearn.
3 Sgrioſaidh mi duine agus ainmh-
idh, ſgrioſaidh mi eunlaith an athair,
agus iaſga na fairge, agus na cip-thuis-
lidh maille ris na h-aingidh: agus
gearraidh mi as an duine bharr agh-
aidh an fhearainn, deir an Tighearn.
4 Sìnidh mi fòs a mach mo làmh
air Iudah, agus air uile luchd-àiteach-
aidh Ierusaleim, agus gearraidh mi as
fuigheall Bhaail o'n àite ſo; ainm an
luchd-iobraidh maille ris na ſagairt;
5 Agus iadſan a ta 'g aoradh do
fheachd nèimh air mhullach nan tigh-
ean; agus iadſan a ta 'g aoradh, *agus*
a' mionnachadh air an Tighearn, agus
fòs a' mionnachadh air Malcham;
6 Agus iadſan a phill air an ais o 'n
Tighearn, agus iadſan nach d'iarr an
Tighearn, agus nach d'fhioſraich
dheth.
7 Bithibh toſdach an làthair an
Tighearna Iehobhah, oir tha là an
Tighearna dlù; oir dh'ullaich an Ti-
ghearn ìobairt, ghairm e 'aoidhean.
8 Agus tarlaidh ann an là ìobairt
an Tighearna gu 'n ſmachdaich miſe
na prionnſachan, agus clann nan righ-
rean, agus na h-uile ta air an éideadh
le culaidh chòimhich.
9 Agus air an là cheudna ſmachd-
aichidh mi iadſan uile ta leum air a'
ſtairſnich, a ta lìonadh tighean am
maighſtirean le ainneart agus le ceilg.
10 Agus tarlaidh air an là ſin, deir
an Tighearn, gu 'm bi fuaim éighich
o gheata 'n éiſg, agus ulartaich o 'n
dara *baile*, agus bruanadh mòr o na
cnocaibh.
11 Ard-ghuilibh, a luchd-àiteach-
aidh Mhacteis, oir tha 'n luchd-mal-
airt gu h-iomlan air an gearradh as;
tha uile luchd giùlain an airgid air am
milleadh.
12 Agus tarlaidh anns an àm ſin,
gu 'n rannſuich miſe Ierusalem le
coinnlibh, agus ſmachdaichidh mi na
daoine ta ſocair air an deaſgainibh; a
ta 'g ràdh nan cridhe, Cha dean an
Tighearn maith, ni mò ni e olc.
13 Air an aobhar ſin bidh am
maoin na chobhartach, agus an tigh-
ean nam fàſach: agus togaidh iad
tighean, ach cha 'n àitich iad; agus
ſuidhichidh iad fìon-lioſan, ach cha 'n
òl iad am fìon.
14 Tha latha mòr an Tighearna
dlù, *tha e* dlù, agus a' deifreachadh gu
mòr: tha guth là an Tighearn
ſearbh: guilidh an ſin an cumhachd-
ach.
15 Is là feirge an là ſin, là trioblaid agus teanntachd; là fàſalachd
agus léir-ſgrios; là dorchadais agus
ogluigheachd; là neul agus tiugh-
dhorchadais;
16 Là trompaid agus iolaich an
aghaidh nam bailtean daingnichte, a-
gus an aghaidh nan tùr arda.
17 Agus bheir miſe airc air daoine,
ionnus gu 'n ſiubhail iad mar dhaill, a
chionn gu 'n do pheacaich iad an agh-
aidh an Tighearna: agus dòirtear a
mach am fuil mar dhuſlach, agus am
feoil mar aolach.
18 Ni mò dh' fheudas an airgiod

no

no 'n òr an saoradh ann an là feirge an Tighearna; ach le teine 'eud-san loisgear am fearann uile: oir bheir e gu deimhin léir-sgrios obann air uile luchd-àiteachaidh na tìre.

CAIB. II.

CRUINNICHIBH sibh féin le chéile, seadh cruinnichibh le chéile, O fhineadh gun iarruidh:

2 Mu 'n dthig an t-òrdugh gu buil, mu 'n siubhail 'ur là seachad mar mholl; mu 'n dthig corruich gharg an Tighearna oirbh, mu 'n dthig là feirge an Tighearna oirbh.

3 Iarruibhse an Tighearn, uile dhaoine ciuine na talmhainn, a dh' oibrich a bhreitheanas; iarruibh fìreantachd, iarruibh macantachd: feudaidh e bhith gu 'n tearnar sibhse ann an là feirge an Tighearna.

4 Gu dearbh tréigear Gasa, agus cuirear fàs Ascelon: fògraidh iad a mach Asdod air mheadhon là; agus bidh Ecron air a spìonadh a freumh.

5 Mo thruaighe luchd-àiteachaidh sliosa na fairge, cinneach nan Ceretcach: tha focal an Tighearna 'n 'ur n-aghaidh. O Chanaain, a thìr nam Philisteach, sgriosaidh mise thu, ionnus nach bi aon 'g *ad* àiteachadh.

6 Agus bidh taobh na fairge na bhothanaibh aig buachaillibh, agus na mhanraichibh aig treudan.

7 Agus bidh an slios aig iarmad tighe Iudah, ionaltraidh iad air: ann an tighibh Ascelоin luidhidh iad sìos anns an anmoch: oir thig an Tighearn an Dia d' an amharc, agus bheir e air an ais am braighdean.

8 Chuala mise masladh Mhoaib, agus ana-cainnt cloinne Amoin, leis an d'rinn iad mo shluagh-sa mhaslachadh, agus iad féin a mheudachadh an aghaidh an crìochan.

9 Air an aobhar sin mar is beo mise, deir Tighearn nan sluagh, Dia Israeil; gu deimhin bidh Moab mar Shodom, agus clann Amoin mar Ghomorrah, na fhàsach ionntagach, agus na phuill shaluinn, agus na léir-sgrios siorruidh; ni fuigheall mo shluaighsa an creachadh, agus iarmad mo chinnich an sealbhachadh.

10 So gheibh iad air son an uabhair, a chionn gu'n d'thug iad masladh, agus gu'n do mheudaich siad iad féin an aghaidh cinnich Tighearna nan sluagh.

11 Bidh an Tighearn uamhasach nan aghaidh: oir bheir e gort air uile dhéibh na talmhainn; agus bheir iad aoradh dha-san, gach aon o 'àite féin, eadhon uile eileana nan cinneach.

12 Sibhse, Etiopacha, mar an ceudna, marbhar sibh féin leis a' chlaidheamh.

13 Agus sìnidh e mach a làmh an aghaidh na h-airde tuath, agus sgriosaidh e Asiria, agus ni e Ninebheh na làraich luim, tioram mar an fhàsach.

14 Agus luidhidh treudan sìos na meadhon, uile bheathaiche na talmhainn: gabhaidh am pelican agus a' ghràineag tàmh na h-ard-dhoruis: bidh *am* fuaim na h-uinneagaibh; bidh fàsalachd anns an sgà-thigh: oir leigidh e ris a h-obair sheudair.

15 So a' chathair luaghaireach a ghabh còmhnuidh gu tèaruinte; a thubhairt na cridhe, Tha mi, agus cha 'n 'eil ann ach mi. Cionnus a dh'fhàs i na fàsach, na h-àite air son bheathaichean gu luidhe sìos ann! sgeigidh gach aon a théid seachad oirre, crathaidh e a làmh.

CAIB. III.

IS anaoibhinn dh'ise ta ceannairceach agus truaillte, do 'n chathair a ta ri sàruchadh.

2 Cha d'thug i géill do 'n ghuth; cha do ghabh i cronachadh: cha d' earb i às an Tighearn: cha do tharruing i dlù d'a Dia.

3 Tha a prionnsachan an taobh a stigh dhi nan leòmhainn bheucach; is maduidh-alluidh an anmoich am breitheachan, cha 'n fheith iad gus a' mhaduinn gun na cnàimhean itheadh.

4 Is daoine eatrom fealltach a fàidhean: thruaill a sagairt an t-ionad naomh: bhris iad an reachd.

5 Tha an Tighearn cothromach na meadhon: cha dean esan ea-ceart: gach maduinn bheir e breitheanas gu solus, cha 'n fhàilnich e: ach cha 'n 'eil eòlas aig an ea-corach air nàire.

6 Ghearr mi as na cinnich: tha an tùir uaigneach; rinn mi fàs an sràid-

ean, air chor as nach 'eil aon 'gan imeachd: tha am bailtean air an sgrios, gun duine sam bith *annta*, gun aon neach '*gan* àiteachadh.

7 Thubhairt mi, Gu deimhin bidh ni' eagal ort, gabhaidh tu teagasg: mar sin cha bhiodh an àite-còmhnuidh air a ghearradh as, cionnus air bith a smachdaichinn iad: ach dh'éirich iad gu moch, agus thruaill iad an uile dheanadas.

8 Uime sin feithibhse riumsa, deir an Tighearn, gus an là san éirich mi suas a chum na creiche: oir is e mo rùn na cinnich a chruinneachadh, na rioghachdan a tharruing le chéile; a dhòrtadh orra mo chorruich, uile theas m' fheirge: oir loisgear an talamh gu h-iomlan le teine m' eud-sa.

9 Gu deimhin pillidh mi 'n sin air na slòigh teanga ghlan, gu gairm gu léir air ainm an Tighearna, gu seirbhis a dheanamh dha le aon rùn.

10 O thaobh thall aibhnichean Etiopia, bheir mo luchd-achuinge, am measg mo mhuinntir sgapta, tabhartas do m' ionnsuidh.

11 Anns an là sin cha nàraichear thu air son d' uile dheanadais, leis an do chiontaich thu ann am aghaidh-sa: oir an sin bheir mi air falbh as do mheadhon iadsan a ta ri gairdeachas ann ad uabhar; agus cha 'n arduich thu ni 's mò thu féin ann am shliabh naomh-sa.

12 Fàgaidh mi fòs ann ad mheadhon sluagh anshocrach agus diblidh; agus cuiridh iad an dòchas ann an ainm an Tighearna.

13 Cha dean iarmad Israeil aingidheachd, ni mò labhras iad breugan: ni mò gheibhear teanga chealgach nam beul. Oir ionaltraidh agus luidhidh iad sìos, agus cha chuir aon neach eagal *orra*.

14 Seinn, O nighean Shioin; tog iolach, O Israeil; bi ait, agus dean gairdeachas le d' uile chridhe, O nighean Ierusaleim.

15 Thug an Tighearn air falbh do bhreitheanais; phill Righ Israeil air falbh do naimhdean: tha 'n Tighearn ann ad mheadhon; cha 'n fhaic thu olc ni 's mò.

16 Anns an là sin theirear ri Ierusalem, Na biodh eagal ort; *agus ri* Sion, Na biodh do làmhan lag.

17 Tha 'n Tighearn Dia ann ad mheadhon cumhachdach; ni e *do* thearnadh; ni e gairdeachas os do chionn le luaghair; gabhaidh e fois na ghràdh; ni e gairdeachas os do chionn le seinn.

18 Cruinnichidh mi *iadsan* 'nad mheasg *a ta* ri caoidh air son an ardchoimhthionail, *do 'n robh* a mhasladh na eallaich.

19 Feuch millidh mise d' uile luchd-sàruchaidh anns an àm sin, agus leighisidh mi ise ta bacach, agus cruinnichidh mi ise bha sgaoilte; agus gheibh mi dhoibh cliù agus deagh iomradh anns gach aon tìr anns an d' fhuair iad nàire.

20 Anns an àm sin bheir mi air 'ur n-ais sibh; agus anns an àm san cruinnich mi sibh, bheir mi gun amharus dhuibh ainm agus cliù ann am measg uile chinneacha na talmhainn, an uair a philleas mi air a h-ais 'ur bruid fa chomhair an sùl-san, deir an Tighearn.

H A G A I.

C A I B. I.

ANN an dara bliadhna Dhariuis
an righ, anns an t-sèathamh
mios, air a' cheud là do 'n mhios,
thàinig focal an Tighearna le Hagai
am fàidh gu Serubabel mac Shealtieil,
uachdaran Iudah, agus gu Iosuah
mac Iosedeich, an t-ard-shagart, ag
ràdh;
2 Mar so labhair Tighearn nan
sluagh, ag ràdh, Thuirt an sluagh so,
Cha d' thàinig an t-àm gu tigh an
Tighearna a thogail.
3 An sin thàinig focal an Tigh-
earna le Hagai am fàidh, ag ràdh,
4 An' àm dhuibhse, O sibhse,
còmhnuidh ghabhail 'nur tighibh mais-
each, agus an tigh so na fhàsach?
5 A nis ma ta mar so deir Tigh-
earn nan sluagh, Thugaibh fainear 'ur
sligheachan.
6 Chuir sibh mòran, agus is beag
a thug sibh a steach; tha sibh ag ith-
eadh, ach cha 'n 'eil gu leòr agaibh:
tha sibh ag òl, ach cha 'n 'eil sibh
sàthach: tha sibh 'gur n-éideadh, ach
cha 'n 'eil aon neach blàth: agus esan
a tha cosnadh tuarasdail, tha e 'ga
chosnadh gu 'chur ann an sporan toll-
ach.
7 Mar so deir Tighearn nan sluagh,
Thugaibh fainear 'ur sligheachan.
8 Rachaibh suas a chum an t-
sléibhe, agus thugaibh leibh fiodh, a-
gus togaibh an tigh; agus gabhaidh
mise tlachd ann, agus bidh mi air mo
ghlòrachadh, deir an Tighearn.
9 Bha sùil agaibh ri mòran, agus
feuch, *thàinig e* gu beagan; agus 'nuair
a thug sibh dhachaidh e, shéid mise
air. C' ar son? deir Tighearn nan
sluagh. Air son mo thighe ta fàs, agus
sibhse a' ruith gach duine g'a thigh
féin.
10 Air an aobhar sin chum na
nèamha os 'ur cionn air ais an drùchd,
agus ghléidh an talamh a thoradh.
11 Agus ghairm mise tart air an
fhearann, agus air na sléibhtean, agus
air an arbhar, agus air an fhìon nuadh,
agus air an ola; agus air gach ni bheir
an talamh a mach; agus air duine, a-
gus air ainmhidh; agus air uile shaoth-
air nan làmh.
12 An sin thug Serubabel mac
Shealtieil, agus Iosuah mac Iosedeich,
an t-ard-shagart, leis a' chuid eile do
'n t-sluagh uile, géill do ghuth an
Tighearna an Dia, agus do bhriathr-
aibh Hagai an fhàidh, (mar a chuir
an Tighearn an Dia fios leis) agus
bha eagal air an t-sluagh roimh an
Tighearna.
13 An sin labhair Hagai teachdaire
an Tighearna, ann an teachdaireachd
an Tighearna, ris an t-sluagh, ag
ràdh, Tha mise leibh, deir an Tigh-
earn.
14 Agus dhùisg an Tighearn spio-
rad Sherubabeil mhic Shealtieil, uach-
darain Iudah, agus spiorad Iosua mhic
Iosedeich, an ard-shagairt, agus spio-
rad na cuid eile do 'n t-sluagh uile, a-
gus thàinig iad, agus rinn iad obair
ann an tigh Tighearna nan sluagh, an
Dia:
15 Air a' cheathramh là fichead
dò 'n t-sèathamh mios, ann an dara
bliadhna Dhariuis an righ.

C A I B. II.

ANNS an t-ſeachdamh *mìos*, air an
aon là fichead do 'n mhìos,
thàinig focal an Tighearna leis an
fhàidh Hagai, ag ràdh;
2 Labhair a nis ri Serubabel, mac
Shealtieil, uachdaran Iudah, agus ri
Ioſuah mac Ioſedeich an t-ard-ſhag-
art; agus ris a' chuid eile do 'n t-
ſluagh, ag ràdh,
3 Cò ta air 'fhàgail 'nur meaſg a
chunnaic an tigh ſo na cheud ghlòir?
agus cionnus a tha ſibh 'ga fhaicinn a
nis? nach 'eil e 'n ur sùilibh, làimh
ri ſin, mar neo-ni?
4 Gidheadh a nis bi làidir, O She-
rubabeil, deir an Tighearn, agus bi
làidir, O Ioſuah, mhic Ioſedeich, ard-
ſhagairt; agus bithibhſe làidir, uile
ſhluagh an fhearainn, deir an Tigh-
earn; agus deanaibh obair: oir tha
miſe leibh, deir Tighearn nan ſluagh.
5 *Do rèir* an fhocail a dhaingnich
mi ruibh tra thàinig ſibh a mach as
an Eiphit, mar ſin tha mo ſpiorad a'
fantuinn 'nur meaſg: na biodh eagal
oirbh.
6 Oir mar ſo deir Tighearn nan
ſluagh; Fathaſd aon uair, ann an
ùine bhig, crathaidh miſe na nèamha,
agus an talamh, agus an fhairge, agus
am *fearann* tioram:
7 Agus crathaidh mi na h-uile
chinnich, agus thig miann nan uile
chinneach, agus lìonaidh mi an tigh
ſo le glòir, deir Tighearn nan ſluagh.
8 Is leamſa an t-airgiod, agus is
leamſa an t-òr, deir Tighearn nan
ſluagh.
9 Bidh glòir an tighe dheireann-
aich ſo ni 's mò na glòir a' cheud
thighe, deir Tighearn nan ſluagh: a-
gus anns an àite ſo bheir miſe sìth,
deir Tighearn nan ſluagh.
10 Air a' cheathramh là fichead do
'n naothamh *mìos*, ann an dara bliadh-
na Dhariuis, thàinig focal an Tigh-
earna, le Hagai am fàidh, ag ràdh;
11 Mar ſo deir Tighearn nan
ſluagh, Feòruich a nis do na ſagart-
aibh, mu 'n reachd, ag ràdh,
12 Ma ghiùlaineas aon feoil naomh
ann an ſgiobul a thruſgain, agus gu
'm bean a thruſgan ri aran, no broch-
an, no fion, no ola, no biadh ſam bith,
am bi ſin naomh? Agus fhreagair
na ſagairt, agus thubhairt iad, Cha
bhi.
13 An ſin thuirt Hagai, Ma bhean-
as aon a ta neo-ghlan le corp marbh
ri aon air bith de na nithe ſo, am bi
ſin neo-ghlan? Agus fhreagair na
ſagairt, agus thubhairt iad, Bithidh e
neo-ghlan.
14 An ſin fhreagair Hagai agus
thubhairt e, Is amhuil a bha an ſluagh
ſo, agus is amhuil a bha an cinneach
ſo ann am làthair-ſa, deir an Tigh-
earn; agus is amhuil a bha uile obair
an làmh; agus an tabhartas a thug
iad ſeachad an ſin bha e neo-ghlan.
15 Agus a nis, guidheam oirbh,
thugaibh fainear; o 'n là an diugh, a-
gus o ſin ſuas, mu 'n do leagadh clach
air cloich ann an teampull an Tigh-
earna.
16 Tra thàinig aon gu cruaich [a]
fhichead *tombas*, cha robh ann ach
deich: tra thàinig aon gu amar-bruth-
aidh an fhìona, gu leth-cheud *ſoitbeach*
a tharruing a mach as an amar, cha
robh ann ach fichead.
17 Bhuail mi ſibh le ſeargadh agus
le fuar-dhealt, agus le cloich-mheall-
ainn, ann an uile ſhaothair 'ur làmh;
gidheadh cha do phill ſibh riumſa,
deir an Tighearn.
18 Thugaibh fainear a nis o'n là an
diugh, agus o ſin ſuas, o'n cheath-
ramh là fichead do 'n naothamh *mìos*,
agus o 'n là ſan do leagadh bunaite
teampuill an Tighearna: thugaibh
fainear.
19 Am bheil ſìol fathaſd anns an
t-ſabhal? ſeadh gu ruige ſo, cha d'
thug an fhìneamhuin, no a' chraobh-
fhìge, no a' phomgranat, no an crann-
ola, ſeachad toradh. *Ach* o'n là ſo
mach beannuichidh miſe.
20 Agus thàinig focal an Tigh-
earna a rìs gu Hagai, air a cheath-
ramh *la* fichead do 'n mhìos, ag
ràdh;
21 Labhair ri Serubabel uachdar-
an

[a] *dùn.*

an Iudah, ag ràdh, Crathaidh mise
na nèamha, agus an talamh;
22 Agus tilgidh mi caithir riogh-
achdan bun os cionn, agus sgriosaidh
mi neart rioghachdan nan cinneach,
agus tilgidh mi bun os cionn na carb-
aid, agus iadsan a ta marcachd orra,
agus tuitidh na h-eich agus am marc-
aichean sìos, gach aon le claidheamh
a bhràthar.
23 Anns an là sin, deir Tighearn
nan sluagh, gabhaibh mi thusa, O
Sherubabeil, a mhic Shealtieil, m'
òglaich, deir an Tighearn, agus ni
mi thu mar sheula; oir roghnaich
mise thu, deir Tighearn nan sluagh.

SECHARIAH.

CAIB. I.

ANNS an ochdamh mios, ann an
dara bliadhna Dharius, thàin-
ig focal an Tighearna gu Sechariah
mac Bharachiah, mhic Ido, am fàidh,
ag ràdh,
2 Bha corruich ro-mhòr air an
Tighearn ri 'r n-aithrichibh:
3 Agus abair thuſa riu, Mar ſo
deir Tighearn nan ſluagh, Pillibhſe
riumſa, deir Tighearn nan ſluagh;
agus pillidh miſe ruibhſe, deir Tigh-
earn nan ſluagh.
4 Na bithibh mar 'ur n-aithrich-
ean, ris an do ghlaodh na fàidhean a
bh' ann roimhe ſo, ag ràdh; Mar ſo
deir Tighearn nan ſluagh; Pillibhſe
nis o 'r droch ſhlighibh, agus o 'r
droch dheanadais. Ach cha d' èiſd
iad, ni mò thug iad aire dhomhſa, deir
an Tighearn.
5 Ur n-aithrichean, c' àit am bheil
iad? agus na fàidhean, am mair iad
beo am feaſd?
6 Ach mo bhriathran-ſa, agus mo
reachdan, a dh'àithn mi do m' òg-
laich na fàidhean, nach d' rinn iad
greim air 'ur n-aithrichean? agus
nach d' thubhairt iad, Amhuil mar a
ſhaoil Tighearn nan ſluagh a dhean-
amh ruinne, do réir ar ſligheachan,
agus do réir ar deanadais, mar ſin rinn
e ruinn.
7 Air a' cheathramh là fichead do
'n aon mhìos deug, (ſin am mios Se-
bat) ann an dara bliadhna Dhariuis,
thàinig focal an Tighearna gu Secha-
riah, mac Bharachiah, mhic Ido, am
fàidh, ag ràdh;
8 Chunnaic mi ſan oidhche, agus
feuch duine a' marcachd air each
ruadh, agus ſheas e meaſg nan craobha-
miortail a bha ſa' ghleann, agus air a
chùlaobh bha eich ruadha, bhreaca,
agus bhàna.
9 An ſin thubhairt mi, Ciod iad
ſo, O mo thighearna? Agus thuirt
an t-aingeal a labhair rium, Feuch-
aidh miſe dhuit ciod iad ſo.
10 Agus fhreagair am fear a bha
na ſheaſamh am meaſg nan craobha-
miortail, agus thubhairt e, So iadſan
a chuir an Tighearn gu ſiubhal ſios
agus ſuas air feadh na talmhainn.
11 Agus fhreagair iad aingeal an
Tighearna, a ſheas am meaſg nan
craobha-miortail, agus thubhairt iad,
Shiubhail ſinne nìos agus ſìos air feadh
na talmhainn; agus feuch tha an ta-
lamh uile na thàmh, agus a' gabhail
foiſ.
12 An ſin fhreagair aingeal an Ti-
ghearna, agus thubhairt e; O Thigh-
earn nan ſluagh cia fhad a bhios tu
gun tròcair a dheanamh air Ieruſa-
lem, agus air bailtibh Iudah, ris am
bheil thu ann an corruich a nis deich
agus tri fichead bliadhna?
13 Agus fhreagair an Tighearn an
t-aingeal a labhair riumſa, le briathr-
aibh maith, le briathraibh ſòlaſach.
14 Mar ſin thuirt an t-aingeal a
bha labhairt rium, Glaodh thuſa, ag
ràdh, Mar ſo deir Tighearn nan
ſluagh, Tha miſe eudmhor air ſon
Ieruſaleim, agus air ſon Shioin le eud
mòr:
15 Agus tha mi ann an corruich
ro-mhòir

ro-mhòir ris na cinnich a ta fuaimh-
neach: oir cha robh ormsa ach cor-
ruich bheag, agus chuidich iadsan air
a h-aghaidh an dòrainn.
16 Air an aobhar sin mar so deir
an Tighearn; Phill mi ri Ierusalem
le tròcairibh. bithidh mo thigh air a
thogail ann, deir Tighearn nan sluagh,
agus bidh sreang-thomhais air a sgaoil-
eadh a mach air Ierusalem.
17 Glaodh fathasd, ag ràdh, Mar
so deir Tighearn nan sluagh, Bidh
mo bhailtean-sa fathasd air an sgaoil-
eadh a mach le soirbheachadh, agus
bheir an Tighearn fathasd co-fhurt-
achd do Shion, agus roghnaichidh e
fathasd Ierusalem.
18 An sin thog mi suas mo shùilean,
agus chunnaic mi; agus feuch ceithir
adhaircean.
19 Agus thuirt mi ris an aingeal a
bha labhairt rium, Ciod iad so? Agus
fhreagair esan mi, Is iad so na h-adh-
aircean a sgap Iudah, Israel, agus Ie-
rusalem.
20 Agus dh'fheuch an Tighearn
dhomh ceithir fir-cheirde.
21 An sin thubhairt mi, Ciod a
thàinig iad so gu dheanamh? Agus
labhair esan, ag ràdh; Is iad so na h-
adhaircean a sgap Iudah, ionnus nach
do thog aon duine suas a cheann: ach
thàinig iad so chum eagal a chur orra,
a thilgeadh a mach adharca nan cinn-
each a thog suas an adharc an agh-
aidh fearainn Iudah, chum a sgap-
adh.

CAIB. II.

THOG mi suas mo shùilean a rìs,
agus dh' amhairc mi; agus
feuch, fear le sreing-thomhais na
làimh.
2 An sin thuirt mise, C' àit am
bheil thu dol? Agus thubhairt e
rium, A thomhas Ierusaleim, a dh'
fheuchainn ciod e a leud, agus ciod e
a fad.
3 Agus feuch chaidh an t-aingeal
a labhair rium a mach, agus chaidh
aingeal eile mach na chòdhail.
4 Agus thuirt e ris. Ruith, labhair
ris an òganach sin, ag ràdh; Bidh Ie-
rusalem air a h-àiteachadh *mar* bhailt-
ean gun bhallachan, le lìonmhoireachd
nan daoine agus na spréidhe bhios
innte.
5 Oir bidh mise, deir an Tighearn,
ann am bhalla teine dhi mu 'n cuairt,
agus bidh mi ann am ghlòir na
meadhon.
6 Ho! ho! *thigibh* agus teichibh o
'n tìr mu thuath, deir an Tighearn;
oir A ceithir ghaothaibh an athair
sgaoil mise sibh a mach, deir an Tigh-
earn.
7 Ho! a Shioin, tàr as, O thusa ta
chòmhnuidh maille ri nighinn Bha-
biloin.
8 Oir mar so deir Tighearn nan
sluagh; An déigh na glòire so chuir
e mise chum nan cinneach a chreach
sibhse: oir an ti bheanas ruibhse,
beanaidh e ri cloich a shùla-san.
9 Oir feuch, crathaidh mise mo
làmh orra, agus bidh iad nan cobhart-
aich d' an tràillibh: agus aithnichidh
sibhse gu 'n do chuir Tighearn nan
sluagh fios leamsa.
10 Seinn, agus dean gairdeachas,
O nighean Shioin; oir feuch tha mise
a' teachd, agus gabhaidh mi còmh-
nuidh ann ad mheadhon, deir an
Tighearn.
11 Agus bidh mòran chinneach
air an cur ris an Tighearn san là sin,
agus bidh iad nan sluagh dhomhsa:
agus gabhaidh mise còmhnuidh ann
ad mheadhon, agus bidh fios agad gu
'n do chuir Tighearn nan sluagh mise
chugad.
12 Agus sealbhaichidh an Tighearn
Iudah, a chuibhrionn, anns an fhear-
ann naomh; agus roghnaichidh e a
rìs Ierusalem.
13 Bi tosdach, O uile fheoil, an
làthair an Tighearna: oir tha e air
a thogail suas o 'ionad-còmhnuidh
naomh.

CAIB. III.

AGUS thaisbein e dhomh Iosuah
an t-ard shagart, na sheasamh
an làthair aingeil an Tighearna; agus
Satan na sheasamh aig a làimh dheis,
gu cur na aghaidh.
2 Agus thuirt an Tighearn ri Sa-
tan, Gu 'n deanadh an Tighearn do
chronachadh, O Shatain; gu 'n dean-
adh eadhon an Tighearn a roghnaich
Ierusalem,

Ierusalem, do chronachadh : nach
aithinne e so, air a spìonadh as an
teine ?
3 A nis bha Iosuah air 'éideadh le
h-eudach salach, agus sheas e an làth-
air an aingeil.
4 Agus fhreagair esan, agus labhair
e riu-san a sheas na làthair, ag ràdh,
Thugaibh dheth an t-eudach salach.
Agus ris-san thubhairt e, Feuch, thug
mi air d' aingidheachd imeachd uait,
agus éididh mi thu le culaidh mhais-
ich.
5 Agus thubhairt e, Cuireadh iad
ceann-eudach maiseach air a cheann :
agus chuir iad ceann-eudach maiseach
air a cheann, agus dh' éid iad e le
falluingibh ; agus sheas aingeal an
Tighearna leo.
6 Agus dhearbh aingeal an Tigh-
earna do Iosuah, ag ràdh,
7 Mar so deir Tighearn nan sluagh,
Ma ghluaiseas tu ann am shlighibh-sa,
agus ma choimhideas tu mo reachd ;
an sin bheir thu mar an ceudna breith
air mo thigh, agus gléidhidh tu fòs
mo chùirtean ; agus bheir mi dhuit
àiteacha coiseachd am measg na muinn-
tir so nan seasamh leat.
8 Eisd a nis O Iosuah, ard-shag-
airt, thu féin agus do chompanaich a
ta nan suidhe a'd' làthair : oir is daoine
tha nan samhla iad : oir feuch, bheir
mise mach m' òglach, Am Meang-
an.
9 Oir feuch, a' chlach a leag mise
fa chomhair Iosuah : air aon chloich
tha seachd sùilean. Feuch gearraidh
mise a gearradh, deir Tighearn nan
sluagh, agus atharruichidh mi aing-
idheachd an fhearainn so ann an aon
latha.
10 Anns an là sin, deir Tighearn
nan sluagh, gairmidh sibh gach fear a
choimhearsnach fo 'n fhìneamhuin, a-
gus fo 'n chrann-fhìge.

CAIB. IV.

AGUS thàinig an t-aingeal a labh-
air rium a rìs, agus dhùisg e
mi, mar dhuine air a dhùsgadh as a
chadal.
2 Agus thuirt e rium, Ciod a tha
thu faicinn ? Agus thuirt mise, Dh'
amhairc mi, agus feuch, coinnleir
uile do òr, le 'chopan air a mhullach,
agus a sheachd lòchrainn air, agus
seachd feadain gus na seachd lòchrain
a ta air a mhullach.
3 Agus dà chrann-ola làimh ris,
aon air taobh deas a' chopain, agus
aon air a thaobh clì.
4 An sin fhreagair mi, agus labhair
mi ris an aingeal a bha ri còmhradh
rium, ag ràdh, Ciod iad so, mo thigh-
earn ?
5 Agus fhreagair an t-aingeal a
bha labhairt rium, agus thubhairt e
rium, Nach 'eil fios agad ciod iad so ?
Agus thuirt mise, Cha 'n 'eil, mo
thighearn.
6 An sin fhreagair e agus labhair e
rium, ag ràdh, Is e so focal an Tigh-
earna ri Serubabel, ag ràdh, Cha 'n
ann le neart, no le cumhachd, ach le
m' spiorad-sa ; deir Tighearn nan
sluagh.
7 Cò thusa, O shléibh mhòir ?
Roimh Sherubabel *fàsaidh tu a' d'*
chòmhnard, agus bheir e mach a'
chlach-chinn le h-iolaich, *a' glaodhach*,
Gràs, gràs gu robh dhi.
8 Os barr thàinig focal an Tigh-
earna do m' ionnsuidh-sa, ag ràdh ;
9 Leag làmhan Sherubabeil stéidh
an tighe so, ni a làmhan fòs a chrìoch-
nachadh ; agus bidh fios agaibh gu 'n
do chuir Tighearn nan sluagh mise do
'r n-ionnsuidh.
10 Oir cò rinn di-meas air là nan
nithe beaga ? ni eadhon iadsan gaird-
eachas, agus chì iad an t-sreang-thomh-
ais an làimh Sherubabeil. Is iad an
t-seachdnar so sùilean an Tighearna :
tha iad a' ruith sìos agus suas air
feadh na talmhainn uile.
11 An sin fhreagair mise, agus
thuirt mi ris ; Ciod iad an dà chrann-
ola so air *taobh* deas a' choinnleir, a-
gus air a *thaobh* clì ?
12 Agus fhreagair mi a rìs, agus
thuirt mi ris, Ciod iad dà ghéig nan
crann-ola, a ta làimh ris an dà fhead-
an òir a' taomadh na h-ola asda féin ?
13 Agus fhreagair e mi, agus
thubhairt e, Nach 'eil fios agad ciod
iad so ? Agus thuirt mise, Cha 'n 'eil,
mo thighearn.

14 An sin thuirt esan, Is iad so an dithis ungta ta nan seasamh làimh ri Tighearn na talmhainn uile.

CAIB. V.

AGUS thog mi suas mo shùilean a rìs agus dh'amhairc mi, agus feuch, rola ag itealuich.

2 Agus thuirt esan rium, Ciod a tha thu faicinn? Agus fhreagair mise, tha mi faicinn rola ag itealuich, fichead lâmh-choille air fad, agus deich làmha-coille air leud.

3 An sin thuirt e rium, Is e so am mallachd a ta dol a mach air aghaidh an fhearainn uile: agus gearrar as gach aon a ghoideas, mar air an taobh so dheth: agus gearrar as gach aon a mhionnaicheas, mar air an taobh sin deth.

4 Thug mise mach e, deir Tighearn nan sluagh, agus théid e steach do thigh a' mheirlich, agus do thigh an ti a ta mionnachadh gu breugach air m' ainm-sa; agus fanaidh e ann am meadhon a thighe, agus sgriosaidh e, eadar shiodh agus chloich e.

5 An sin chaidh an t-aingeal a labhair rium a mach, agus thuirt e rium, Tog suas a nis do shùilean, agus faic ciod so tha dol a mach.

6 Agus thuirt mise, Ciod e? Agus thuirt esan, So Ephah a ta dol a mach. Agus thubhairt e, Is i so an samhludh anns an fhearann uile.

7 Agus feuch, bha tàlanta luaidhe air a thogail suas: agus feuch, bean na suidhe ann am meadhon na h-ephah.

8 Agus thubhairt e, Is i so Aingidheachd: agus thilg e i ann am meadhon na h-ephah; agus chuir e 'n cothrom luaidhe, air a beul.

9 An sin thog mi suas mo shùilean, agus dh' amhairc mi; agus feuch, thàinig a mach dà mhnaoi, agus a' ghaoth nan sgiathaibh; (oir bha sgiathan aca mar sgiathan corra-glaise,) agus thog iad an ephah suas eadar an talamh agus na nèamha.

10 An sin thuirt mise ris an aingeal a labhair rium, C' àit am bheil iad so a' giùlan na h-ephah?

11 Agus thuirt e rium, A thogail tighe dhi ann an tìr Shinair; agus bidh i air a daingneachadh, agus air a suidheachadh an sin air a bonn.

CAIB. VI.

AGUS a rìs thog mi suas mo shùilean, agus dh' amhairc mi; agus feuch, thàinig ceithir carbaid a mach o eadar dhà shliabh, agus bu shléibhtean umha na sléibhtean.

2 Ris a' cheud charbad bha eich ruadha, agus ris an dara carbad eich dhubha,

3 Agus ris an treas carbad eich gheala, agus ris a' cheathramh carbad eich bhalla-dhearg.

4 An sin fhreagair mi, agus thuirt mi ris an aingeal a bha labhairt rium, Ciod iad so, mo thighearn?

5 Agus fhreagair an t-aingeal, agus thuirt e rium, Is iad so ceithir spiorada nan nèamha, a ta dol a mach o bhi nan seasamh an làthair Tighearna na talmhainn uile.

6 Théid na h-eich dhubha ta ann a mach do 'n tìr mu thuath, agus théid na h-eich gheala mach nan déigh; agus théid na h-eich bhalla-dhearg a mach ris an tìr mu dheas.

7 Agus chaidh na h-eich bhalla-dhearg a mach, agus thairg iad imeachd a chum gu 'n siùbhladh iad sìos agus suas air feadh na talmhainn: Agus thubhairt e, Falbhaibh, imichibh sìos agus suas air feadh na talmhainn. Is amhuil a dh' imich iad sìos agus suas air feadh na talmhainn.

8 An sin ghairm e orm, agus labhair e rium, ag ràdh; Feuch iad so a ta 'g imeachd gus an tìr mu thuath, chiuinich iad mo spiorad anns an tìr mu thuath.

9 Agus thàinig focal an Tighearna do m' ionnsuidh, ag ràdh;

10 Gabh dhiubhsan a ta do 'n bhruid, do *theaghlach* Heldai, agus Thobiah, agus Iedaiah; agus falbhaidh tu air an là cheudna, agus théid thu steach do thigh Iosiah mhic Shephaniah, a phill o Bhabilon.

11 Agus gabhaidh tu airgiod agus òr, agus ni thu crùn, agus cuiridh tu *e* air ceann Iosuah, mhic Iosedeich, an ard-shagairt.

12 Agus labhraidh tu ris, ag ràdh; Mar so labhair Tighearn nan sluagh,

ag

ag ràdh; Feuch, an duine do 'n ainm
Am Meangan; agus fàsaidh e nìos
as 'àite, agus togaidh e teampull an
Tighearna.
13 Togaidh eadhon esan teampull
an Tighearna, agus gheibh e glòir,
agus suidhidh e, agus riaghlaichidh e
air a righ-chaithir; agus bidh e na
shagart air a rìgh-chaithir; agus bidh
comhairle na sìth eatorra araon.
14 Agus bidh crùn aig Helem, a-
gus aig Tobiah, agus aig Iedaiah, agus
aig Hen mac Shephaniah, mar
chuimhneachan ann an teampull an
Tighearna.
15 Agus thig iadsan a ta fad as, a-
gus togaidh iad ann an teampull an
Tighearna; agus bidh fios agaibh gu
'n do chuir Tighearn nan sluagh
mise do 'r n-ionnsuidh. Agus tnig so
gu crìch, ma bheir sibh géill gu cùr-
amach do ghuth an Tighearna 'ur
Dia.

CAIB. VII.

AGUS tharladh ann an ceath-
ramh bliadhna Dhariuis, gu
'n d' thàinig focal an Tighearna gu
Sechariah, air a' cheathramh là do 'n
naothamh mìos, *eadhon* Chisleu.
2 ('Nuair a chuir iad gu tigh Dhé,
Seresar agus Regemelech, agus an
daoine, a dh' fhiosrachadh an làthair
an Tighearna;
3 A labhairt ris na sagairt a bha 'n
tigh Tighearna nan sluagh, agus ris
na fàidhean, ag ràdh; An dean mi
gul anns a' chùigeamh mìos, 'gam
dhealuchadh féin, mar a rinn mi 'n
iomadh bliadhna so?)
4 An sin thàinig focal Tighearna
nan sluagh do m' ionnsuidh-sa, ag
ràdh;
5 Labhair ri uile shluagh an fhear-
ainn, agus ris na sagairt, ag ràdh;
'Nuair a thraisg agus a ghuil sibh anns
a' chùigeamh agus anns an t-seachd-
amh *mìos*, eadhon na deich agus tri
fichead bliadhna so, an do thraisg sibh
idir air mo shon-sa, *eadhon* air mo
shon-sa?
6 Agus an uair a dh' ith sibh, agus
'nuair a dh' òl sibh, nach d' ith sibh
air 'ur son féin, agus nach d' òl sibh
air 'ur son féin?
7 Nach iad so na briathran a dh'
éigh an Tighearn leis na ceud fhàidh-
ibh, tra bha Ierusalem air a h-àiteach-
adh, agus a' soirbheachadh, agus a
bailtean mu 'n cuairt d'i; agus an
taobh deas agus an còmhnard air an
àiteachadh?
8 An sin thàinig focal an Tigh-
earna gu Sechariah, ag ràdh;
9 Mar so labhair Tighearn nan
sluagh, ag ràdh; Cuiribh an gnìomh
ceart bhreitheanas, agus nochdaibh
tròcair agus iochd gach duine d'a
bhràthair:
10 Agus na sàruichibh a' bhant-
rach, no an dilleachdan, an coigreach,
no am bochd: agus na smaoinicheadh
neach air bith agaibh 'nur cridhe, olc
an aghaidh a bhràthar.
11 Ach dhiùlt iadsan éisdeachd,
agus tharruing iad a' ghualadh *o'n
chuing*, agus dhruid iad an cluasan, a
chum nach cluinneadh iad.
12 Seadh rinn iad an cridheachan
mar chloich adamaint, mu 'n cluinn-
eadh iad an lagh, agus na briathran a
chuir Tighearn nan sluagh le a Spior-
ad, leis na fàidhean roimhe so: air an
aobhar sin, thàinig corruich mhòr o
Thighearn nan sluagh.
13 Agus thachair, amhuil a ghlaodh
mise, agus nach d' éisd iadsan; mar
sin ghlaodh iadsan, agus cha d'éisd
mise; deir Tighearn nan sluagh.
14 Ach sgap mi iad le cuairt-
ghaoith, am measg nan uile chinn-
each nach b'aithne dhoibh: agus bha
am fearann fàs nan déigh, air chor as
nach do shiubhail neach air bith d'a
thrìd, air ais no air aghaidh: agus
rinn iad an tìr thaitneach na fàsach.

CAIB. VIII.

AGUS thàinig focal Tighearna
nan sluagh do 'm ionnsuidh,
ag ràdh;
2 Mar so deir Tighearn nan sluagh;
Bha mise eudmhor air son Shioin le
eud mòr, agus bha mi eudmhor air a
son le mòr chorruich.
3 Mar so deir Tighearn nan sluagh;
Phill mise gu Sion, agus gabhaidh mi
còmhnuidh ann an Ierusalem; agus
goirear ri Ierusalem, baile fìrinn, agus
ri sliabh Tighearna nan sluagh, sliabh
naomh.
4 Mar so deir Tighearn nan sluagh,
Gabhaidh

Gabhaidh seann daoine, agus seana mhnathan còmhnuidh fathast ann an sràidibh Ierusaleim, agus gach duine le a luirg na làimh le ro-aois.

5 Agus bidh sràidean a' bhaile làn do mhacanaibh agus do nionagaibh, a' cluicheadh na sràidibh.

6 Mar so deir Tighearn nan sluagh, Ma bhios iongantach ann an sùilibh iarmaid an t-sluaigh so anns na laithibh sin, am bi e iongantach ann am shùilibh-sa fòs, deir Tighearn nan sluagh?

7 Mar so deir Tighearn nan sluagh, Feuch saoruidh mise mo shluagh o 'n tìr an ear agus o 'n tìr an iar.

8 Agus bheir mi air an ais iad, agus gabhaidh iad còmhnuidh ann an Ierusalem, agus bidh iad nan sluagh dhòmhsa, agus bidh mise ann am Dhia dhoibh-san, ann am fìrinn, agus ann an ceartas.

9 Mar so deir Tighearn nan sluagh; Biodh 'ur làmhan làidir, sibhse ta cluinntinn anns na laithibh so nam briathran so a beul nam fàidhean, a ta san là sam bheil stéidh tighe Tighearna nan sluagh 'ga shuidheachadh, eadhon an teampuill, a chum gu 'm biodh e air a thogail.

10 Oir roimh na laithean so, cha robh luach saothaireach air bith aig duine, no luach-saothaireach air bith aig ainmhidh; na mò bha sìth aig an ti a rachadh a mach, no thigeadh a steach, leis an teinne; oir chuir mise na h-uile dhaoine, gach aon an aghaidh a choimhearsnaich.

11 Ach a nis cha bhi mi do iarmad an t-sluaigh so mar anns na laithibh roimhe so, deir Tighearn nan sluagh.

12 Oir soirbhichidh an siol, bheir an fhìneamhuin seachad a meas, agus bheir an talamh seachad a thoradh, agus bheir na nèamha seachad an drùchd; agus bheir mise air iarmad an t-sluaigh so na nithe so gu léir a shealbhachadh.

13 Agus tarlaidh, mar a bha sibh 'nur mallachadh am measg nan cinneach, O thigh Iudah, agus a thigh Israeil, is amhuil a shaoras mise sibh, agus bithidh sibh 'nur beannachadh. Na biodh eagal oirbh, biodh 'ur làmhan làidir.

14 Oir mar so deir Tighearn nan sluagh, Mar a chuir mi romham olc a dheanamh oirbh, an uair a bhrosnuich 'ur n-aithrichean mi gu feirg, deir Tighearn nan sluagh, agus nach do ghabh mi aithreachas;

15 Mar sin smaoinich mi a rìs, anns na laithibh so, maith a dheanamh do Ierusalem, agus do thigh Iudah. Na biodh eagal oirbhse.

16 So na nithe a ni sibh, Labhraibh, gach neach an fhìrinn r'a choimhearsnach: deanaibh breitheanas na fìrinn agus na sìth 'nur geatachaibh:

17 Agus na dealbhaibh 'nur cridhe, gach aon neach olc an aghaidh a choimhearsnaich, agus na gràdhaichibh mionnan bréige sam bith; oir na nithe so uile is fuathach leamsa, deir an Tighearn.

18 Agus thàinig focal Tighearna nan sluagh do m' ionnsuidh, ag ràdh;

19 Mar so deir Tighearn nan sluagh; Trasg a' cheathramh *mìos*, agus trasg a' chùigeamh, agus trasg an t-seachdamh, agus trasg an deicheamh, bidh do thigh Iudah, nan aoibhneas agus nan gairdeachas, agus nam féille subhach; a mhàin gràdhaichibhse fìrinn agus siochainnt.

20 Mar so deir Tighearn nan sluagh, Fathast *tarlaidh* gu 'n dthig mòran dhaoine, agus luchd-àiteachaidh mhòrain bhailtean:

21 Agus théid luchd-àiteachaidh aon *bhaile* gu aon eile, ag ràdh, Rachamaid do rìreadh a dheanamh urnuigh an làthair an Tighearna, agus a dh' iarruidh Tighearna nan sluagh; théid mise mar an ceudna.

22 Seadh thig mòran shluagh, agus cinnich chumhachdach a dh' iarruidh Tighearna nan sluagh ann an Ierusalem, agus a ghuidhe an làthair an Tighearna.

23 Mar so deir Tighearn nan sluagh, Anns na laithibh sin *tarlaidh* gu 'n dean deichnear greim, as uile chànuinibh nan cinneach, eadhon gu 'n dean iad greim air sgiort an ti bhios na Iudhach, ag ràdh, Théid sinne leat, oir chuala sinn gu bheil Dia leibh.

CAIB. IX.

FA'ISNEACHD focail an Tigh-
earna. Air fearann Hadraich,
agus air Damascus gabhaidh i tàmh:
(oir tha sùil gach duine, agus uile
threubhan Israeil, air an Tighearn.)
2 Agus fòs air Hamat a ta làimh
ris; air Tirus agus air Sidon, ged tha
i ro-ghlic.
3 Ge do thog Tirus dhi féin daing-
neach làidir, agus ge do charn i suas
airgiod mar an duslach, agus òr fìor-
ghlan mar pholl nan sraidean;
4 Feuch tilgidh an Tighearn mach
i, agus buailidh e san fhairge a neart,
agus sgriosar i le teine.
5 Chi Ascelon, agus bidh eagal
oirre; Gasa fòs, agus bidh i ro-bhròn-
ach; is amhuil a bhitheas Ecron, oir
nàraicheadh a dòchas; agus bàsaich-
idh an righ o Ghasa, agus cha 'n àit-
ichear Ascelon.
6 Agus gabhaidh clann dìolain
còmhnuidh ann an Asdod; agus
gearraidh mise as uabhar nam Phi-
listeach.
7 Agus bheir mi air falbh 'fhuil as
a bheul, agus a ghràinealachdan o
eadar 'fhiaclan: ach an ti mhaireas,
bidh esan air son ar Dé-ne, agus bidh
e mar uachdaran ann an Iudah, agus
Ecron mar an Iebusach.
8 Agus campaichidh mise timchioll
mo thighe, '*g a dhìonadh* o 'n fheachd
a bhios dol seachad, no a bhios a'
pilltinn; ni mò théid am fear-sàruch-
aidh d' an trìd ni 's mò: oir a nis
chunnaic mi le m' shùilibh.
9 Dean gairdeachas gu mòr, O
nighean Shioin; tog iolach, O nigh-
ean Ierusaleim: feuch, tha do righ a'
teachd do d' ionnsuidh: is firean, a-
gus is Slànuighear e; irioſal, agus a'
marcachd air asail, agus air searrach,
mac na h-asail.
10 Agus gearraidh mi as an carbad
o Ephraim, agus an t-each o Ierusa-
lem: agus gearrar as am bogha-cog-
aidh; agus labhraidh esan sìth ris na
cinnich: agus bidh 'uachdranachd o
mhuir gu muir, agus o 'n Abhuinn gu
iomallaibh na tìre.
11 Air do shon-sa fòs, le fuil do *
choimhcheangail, chuir mi mach do
phrìosanaich as an t-slochd anns nach
robh uisge sam bith.
12 Pillibh a chum an daingnich, O
phrìosanacha an dòchais, eadhon air
an là an diugh tha mi 'g innseadh gu
'n diol mi dhuit *beannachda* dùbailt.
13 Oir lùb mi dhomh féin Iudah,
lìon mi am bogha le Ephraim; agus
togaidh mi suas do mhic-sa, O Shioin,
an aghaidh do mhac-sa, O Ghréig,
agus ni mi thu mar chlaidheamh
duine chumhachdaich.
14 Agus chithear an Tighearn os
an cionn, agus théid a shaighead a
mach mar an dealanach: agus séididh
an Tighearn Iehobhah an trompaid,
agus théid e mach le ioma-ghaothaibh
na h-airde deas.
15 Ni Tighearn nan sluagh an
dìon: agus ithidh iad, agus ceann-
suichidh iad le clachaibh-tabhuill; a-
gus òlaidh iad, agus ni iad iolach mar
le fìon; agus lìonar iad mar chopain,
mar oisinnibh na h-altarach.
16 Agus tearnaidh an Tighearn an
Dia iad anns an là sin, mar threud a
shluaigh; oir togar suas clacha-buaidh
an crùin air feadh am fearainn.
17 Oir cia mòr an soirbheachadh,
agus cia mòr am maise! ni an t-arbh-
ar na h-òganaich, agus am fìon-nuadh
na h-òighean, subhach.

CAIB. X.

IARRUIBHSE air an Tighearn
uisge ann an àm an uisge dheir-
eannaich; ni an Tighearn dealanach
agus bheir e dhuibh pailteas uisge; do
gach aon feur anns an fhaiche.
2 Oir labhair na h-ìodhola dìomh-
anas, agus chunnaic na fiosaichean
breug, agus dh' innis iad aislinge
faoine; is dìomhain an co-fhurtachd:
uime sin dh' imich iad air falbh mar
threud; bha iad air an claoidh, a
chionn nach robh buachaill air bith
ann.
3 An aghaidh nam buachaillean las
mo chorruich-sa, agus na gabhair
smachdaichidh mi. Ach dh' amhairc
Tighearn nan sluagh air a threud
tigh Iudah; agus ni e iad mar each
maiseach anns a' chath.
4 *Uaith-san thig a mach a' chlach-
oisinne,

oisinne, uaith-san an tarann, uaith-san
am bogha-catha, uaith-san gach uile
uachdaran le chéile.

5 Agus bidh iad ann an cath cos-
mhuil ri gaisgich a shaltras air clàbar
nan sràidean: agus cogaidh iad, a
chionn gu bheil an Tighearn maille
riu; agus cuirear marcaichean nan
each gu nàire.

6 Agus neartaichidh mise tigh Iu-
dah, agus tearnaidh mi tigh Ioseiph;
agus suidhichidh mi iad a rìs; oir tha
truas agam dhiubh: agus bithidh iad
mar nach tilginn fada uam iad: oir is
mise Iehobhah an Dia, agus éisdidh
mi riu.

7 Agus bidh Ephraim mar ghaisg-
each; agus ni an cridhe gairdeachas,
mar le fion: seadh, chi an clann, agus
bidh iad ait; ni an cridhe gairdeachas
anns an Tighearn.

8 Gairmidh mise iad, agus cruinn-
ichidh mi iad, oir shaor mi iad: agus
meudaichidh iad, *eadhon* mar a mheud-
aich iad.

9 Agus cuiridh mi iad mar shìol
am measg nan cinneach; agus cuimh-
nichidh iad ormsa ann an dùchann-
aibh fad as; agus mairidh iad beo le 'n
cloinn, agus pillidh iad a rìs.

10 Agus bheir mi air an ais iad o
thìr na h-Eiphit, agus cruinnichidh
mi iad a mach à h-Asiria; agus bheir
mi iad air an ais gu tìr Ghileaid agus
Lebanoin; agus cha bhi *àite* ni 's leòr
r'a fhaotuinn doibh.

11 Agus théid e trìd na fairge, le
dòrainn: agus buailidh e na tonnan
anns an fhairge; agus tiormaichidh
uile dhoimhneachdan na h-aibhne
suas: agus bheirear a nuas uabhar A-
siria, agus imichidh slat-rioghail na h-
Eiphit seachad.

12 Agus neartaichidh mi iad anns
an Tighearn, agus na ainm-san gluais-
idh iad, deir an Tighearn.

C A I B. XI.

FOSGAIL do dhorsan, O Leba-
noin, a chum gu 'n loisg an
teine do sheudair.

2 Guil gu h-ard, O chraobh
ghiumhais, oir thuit an seudar; oir
tha iadsan a b' airde air am milleadh:
deanaibh gul, O dharaga Bhasain, oir
ghearradh frìth na callaide.

3 Guth ulartaich nam buachaill-
ean! a chionn gu bheil an glòir air a
milleadh: guth beucaich nan leòmh-
ann òga! oir rtha uabhar Iordan air a
chreachadh.

4 Mar so thuirt an Tighearn mo
Dhia; Beathaich thusa treud a' chasg-
raidh;

5 A ta an sealbhadoirean a' marbh-
adh, agus 'gam meas féin neo-chiont-
ach: agus tha iadsan a ta 'gan reic
ag ràdh, Beannuichte gu 'n robh an
Tighearn, oir tha mi saibhir: agus
cha 'n 'eil truas aig an aodhairibh féin
diubh.

6 Oir cha ghabh mise ni 's mò
truas do luchd-àiteachaidh na tìre,
deir an Tighearn: ach feuch, bheir
mi thairis daoine, gach aon do làimh
a choimhearsnaich, agus do làimh a
righ; agus buailidh iad am fearann,
agus cha saor mi as an làimh.

7 Agus beathaichidh mi treud a'
chasgraidh, *eadhon* sibhse, bhochdan
an treud: agus ghabh mi do m'
ionnsuidh dà luirg; air aon diubh
thug mi mar ainm Maise, agus air an
aon eile thug mi mar ainm Cuibhrich-
ean; agus bheathaich mi an treud.

8 Tri aodhairean fòs ghearr mi as
ann an aon mhìos, agus bha gràin aig
m' anam-sa dhiu-san, agus bha fuath
aig an anam-sa dhomh-sa.

9 An sin thubhairt mi, Cha bheath-
aich mi sibh: an ni sin a bhàsaicheas,
bàsaicheadh e; agus an ni sin a ta gu
bhi air a ghearradh as, gearrar as e:
agus itheadh a' chuid eile, gach aon
feoil a' chéile.

10 Agus ghabh mi mo lorg, *eadhon*
Maise, agus ghearr mi na bloighdibh
i, chum gu 'm brisinn mo choimh-
cheangal a rinn mi ris na slòigh
uile.

11 Agus bhriseadh e san là sin: a-
gus mar sin dh'aithnich bochdan an
treud a thug an aire dhomh, gu 'm
b'e sin focal an Tighearna.

12 Agus thuirt mi riu, Ma chith-
ear ceart duibh, thugaibh *dhomh* mo
luach; agus mar faicear, leigibh leis:
mar sin thomhais iad air son mo
luach, deich *buinn* fhichead airgid.

13 Agus thuirt an Tighearn rium,
Tilg a chum a' Chriadhadair e: luach

atach leis an robh mise air mo mheas leo-san. Agus ghabh mi na deich *buinn* fhichead airgid, agus thilg mi iad ann an tigh an Tighearna, a chum a' chriadhadair.

14 Agus ghearr mi as a' chéile mo lorg eile, eadhon Cuibhrichean ; a chum gu 'm brisinn am bràithreachas eadar Iudah agus Israel.

15 Agus thuirt an Tighearn rium a rìs; Gabh chugad fathasd innealan buachaille amaidich :

16 Oir feuch, togaidh mise suas buachaille san fhearann, nach seall an déigh an ni sin a ghearrar as ; nach iarr a' chuid a ta òg ; agus nach leighis a' chuid a fhuair dochann ; ni mò bheathaicheas e a' chuid a sheas : ach ithidh e feoil na cuid a ta reamhar, agus reubaidh e an crobhain nam bloighdibh.

17 Is truagh do 'n droch bhuachaille a dh' fhàgas an treud : *thig* sgrios air a ghairdean, agus air a shùil deas : seargaidh a ghairdean gu tur, agus dorchaichear a shùil deas gu h-iomlan.

CAIB. XII.

FA'ISNEACHD focail an Tighearna. Do thaobh Israeil, deir an Tighearn, ta sgaoileadh a mach nan neamha, agus a' suidheachadh steidh na talmhainn, agus a' cruthachadh spioraid dhuine 'n taobh a stigh dheth.

2 Feuch ni mise Ierusalem na copan ball-chrith do na slòigh uile mu 'n cuairt : air son Iudah mar an ceudna bithidh e, san fheachd an aghaidh Ierusaleim.

3 Agus anns an là sin ni mi Ierusalem na cloich chudthromaich do na slòigh uile ; na h-uile ghabhas i mar uallach orra féin, gearrar iad nam bloighdibh : agus na h-aghaidh bidh uile chinnich an domhain air an cruinneachadh le chéile.

4 Anns an là sin, deir an Tighearn, buailidh mise gach each le uamhas, agus a mharcach le cuthach ; agus fosglaidh mi mo shùilean air tigh Iudah, agus gach aon each aig na slòigh buailidh mi le doille.

5 Agus their uachdarain Iudah nan cridhe ; Is iad luchd-àiteachaidh Ierusaleim mo neart ann an Tighearna nan sluagh an Dia.

6 Anns an là sin ni mise uachdarain Iudah mar theallach teine ann am measg connaidh, agus mar leus teine ann an sguaib ; agus loisgidh iad air an làimh dheis, agus air an làimh chlì, na slòigh uile mu 'n cuairt : agus àitichear Ierusalem a rìs, na h-ionad féin, ann an Ierusalem.

7 Saoruidh an Tighearn fòs pàilliunnan Iudah, mar o shean ; mu 'n dean glòir tighe Dhaibhidh, no glòir luchd-àiteachaidh Ierusaleim, iad féin ardachadh an aghaidh Iudah.

8 Anns an là sin dìonaidh an Tighearn luchd-àiteachaidh Ierusaleim, agus bidh esan a ta lag nam measg anns an là sin mar Dhaibhidh ; agus tigh Dhaibhidh mar Dhia, mar aingeal an *Tighearna nan làthair.*

9 Agus tarlaidh anns an là sin, gu 'n iarr mise na h-uile chinnich a thig an aghaidh Ierusaleim a mhilleadh.

10 Agus dòirtidh mi air tigh Dhaibhidh, agus air luchd-àiteachaidh Ierusaleim, spiorad nan gràs agus nan achuingean ; agus amhaircidh iad airsan a lot iad, agus ni iad caoidh air a shon, mar a chaoidheas duine air son aon mhic : agus bidh an doilghios air a shon mar dhoilghios air son ceudghin.

11 Anns an là sin bidh cumha mhòr ann an Ierusalem, cosmhuil ri cumha Hadadrimoin, ann an gleann Mhegidoin.

12 Agus ni 'm fearann caoidh, gach aon teaghlach air leth : teaghlach tighe Dhaibhidh air leth, agus am mnathan air leth : teaghlach tighe Natain air leth, agus am mnathan air leth.

13 Teaghlach tighe Lebhi air leth, agus am mnathan air leth : teaghlach Shimei air leth, agus am mnathan air leth.

14 Na h-uile theaghlaichean eile, gach teaghlach air leth, agus am mnathan air leth.

CAIB. XIII.

ANNS an là sin bidh tobar air 'fhosgladh do thigh Dhaibhidh,

bhidh, agus do luchd-àiteachaidh Ie-
rusaleim, air son peacaidh agus air son
neo-ghloine.
2 Agus tarlaidh air an là sin, deir
Tighearn nan sluagh, gu 'n gearr
mise mach ainmeanna nan ìodhola as
an fhearann, agus cha chuimhnichear
iad ni 's mò: agus fòs bheir mi air na
fiosaichean, agus air na spioradaibh
neo-ghlan siubhal a mach as an fhear-
ann.
3 Agus tarlaidh, 'nuair a ni duine
sam bith fàisneachd, an sin gu 'n abair
'athair agus a mhàthair a ghin e ris,
Cha mhair thu beo; oir labhair thu
breugan ann an ainm an Tighearna:
agus ni 'athair agus a mhàthair a ghin
e, a bhualadh trid, tra ni e fàisneachd.
4 Agus tarlaidh anns an là sin, gu
'm bi nàire air na fàidhean, gach aon
d'a shealladh, tra ni e fàisneachd: ni
mò chuireas iad umpa falluinge mol-
ach gu mealladh.
5 Ach their *gach aon*, Cha 'n
fhàidh mise, is treabhaiche mi; oir
tha còir aig duine *eile* orm o m' òige.
6 Agus their *aon* ris, Ciod iad na
lotà sin ann ad làmhaibh? An sin
freagraidh esan, Iad sin leis an do lot-
adh mi ann an tigh mo chairdean.
7 Dùisg, O chlaidheimh, an agh-
aidh mo bhuachaille, agus an aghaidh
an duine ta ro dhlù-chompanach
dhomhsa, deir Tighearn nan sluagh.
Buailidh mise am buachaille, agus bidh
an treud air a sgapadh; agus tionnd-
aidhidh mi mo làmh air a' mhuinn-
tir bhig.
8 Agus tarlaidh anns an fhearann
uile, deir an Tighearn, gu 'n gearrar
as dà thrian ann, *agus* gu 'm bàsaich
iad; ach bidh an treas trian air 'fhàg-
ail ann.
9 Agus bheir mise 'n treas trian
trìd an teine, agus glanaidh mi iad
mar a ghlanar an t-airgiod, agus
dearbhaidh mi iad mar a dhearbhar
an t-òr: gairmidh iad air m' ainmse,
agus éisdidh mise riu; their mi, Is
iad mo shluagh: agus their iadsan, Is
e an Tighearn mo Dhia.

C A I B. XIV.

FEUCH tha là an Tighearna a'
teachd, agus roinnear do chreach
ann ad mheadhon.
2 Oir cruinnichidh mise na h-uile
chinnich an aghaidh Ierusaleim gu
cogadh, agus glacar am baile, agus
creachar na tighean, agus éignichear
na mnathan; agus théid leth a'
bhaile air falbh am bruid; agus cha
ghearrar a' chuid eile do 'n t-sluagh
as o 'n bhaile.
3 Agus théid an Tighearn a mach,
agus cogaidh e 'n aghaidh nan cinn-
each sin, mar a chog e ann an là a'
chatha.
4 Agus seasaidh a chasan air an là
sin air sliabh nan Oluidh, a ta fa
chomhair Ierusaleim air an taobh an
ear: agus sgoiltidh sliabh nan Oluidh
na mheadhon, ris an aird an ear, agus
ris an aird an iar, *air chor as gu 'm bi*
gleann ro-mhòr ann: agus gluaisidh
leth an t-sléibhe ri tuath, agus an leth
eile ri deas.
5 Agus teichidh sibhse *rathad* glinn
nan sliabh: oir ruigidh gleann nan
sliabh gu h-Asal: seadh teichidh sibh
mar a theich sibh roimh an chrith-
thalmhainn, ann an laithibh Usiah
righ Iudah: agus thig an Tighearn
mo Dhia-sa, agus a naoimh uile
maille ris.
6 Agus tarlaidh anns an là sin,
nach bi solus soilleir agus dorchadas
ann;
7 Ach bidh e na aon là, a bhios
aithnichte do 'n Tighearn: cha là,
agus cha 'n oidhche bhios ann: ach
tarlaidh air trà feasgair gu 'm bi solus
ann.
8 Agus tarlaidh air an là sin, gu 'n
dthéid uisgeachadh beo a mach a Ie-
rusalem: leth dhiubh ris an fhairge
'n ear, agus leth dhiubh ris an fhairge
'n iar: anns an t-samhradh agus anns
a' gheamhradh bithidh e.
9 Agus bidh an Tighearn na righ
os cionn na talmhainn uile: anns an
là sin bidh aon Tighearn ann, agus
'ainm na aon.
10 Agus cuairtichidh e am fearann
uile mar chòmhnard, o Gheba gu
Rimon, mu dheas do Ierusalem: agus
togar suas i, agus àitichear i na h-ion-
ad, o gheata Bheniamin gu àit a'
cheud gheata, agus gu geata na h-
oisinn, agus o thùr Hananeeil gu fion-
amair an righ.
11 Agus ni *daoine* còmhnuidh innte,

agus

agus cha bhi léir-ſgrios ann ni 's mò, ach bidh Ierusalem air a h-àiteachadh ann an tèaruinteachd.

12 Agus ſo a' phlàigh leis am buail an Tighearn na ſlòigh uile a chog an aghaidh Ierusaleim: leaghaidh am feoil air falbh am feadh a ta iad nan ſeaſamh air an caſaibh, agus leaghaidh an sùilean air falbh nan ſluichd, agus leaghaidh an teanga air falbh nam beul.

13 (Agus tarlaidh anns an là ſin gu 'm bi buaireas mòir o 'n Tighearn nam meaſg; agus glacaidh iad greim, gach aon do làimh a choimhearſnaich; agus éiridh a làmh ſuas an aghaidh làimh a choimhearſnaich.

14 Agus cogaidh Iudah fòs aig Ierusalem; agus cruinnichear le chéile maoin nan uile chinneach mu 'n cuairt, òr, agus airgiod, agus earradh, ann am pailteas mòr.)

15 Agus bidh plàigh an eich, na muileid, a' chàmhail, agus na h-aſail, agus nan uile bheathaichean a bhios anns na campaibh ſo, mar a' phlàigh ſo.

16 Agus tarlaidh gu 'n dthéid gach aon a dh'fhàgar, do na h-uile chinnich a' thàinig an aghaidh Ierusaleim, ſuas o bhliadhna gu bliadhna gu aoradh a dheanamh do 'n Righ, Tighearn nan ſluagh, agus a choimhead féiſd nam pàilliunnan.

17 Agus tarlaidh, cò ſam bith do uile theaghlaichibh na talmhainn nach dthéid ſuas gu Ierusalem, a dheanamh aoraidh do 'n Righ, Tighearn nan ſluagh, eadhon orra ſin cha dthig uiſge ſam bith.

18 Agus mur dthéid teaghlach na h-Eiphit ſuas, agus mur dthig iad; orra-ſan bidh a' phlàigh ſin leis am buail an Tighearn na cinnich nach dthéid ſuas a choimhead féiſd nam pàilliunnan.

19 So peanas na h-Eiphit agus peanas nan uile chinneach nach dthéid ſuas a choimhead féiſd nam pàilliunnan.

20 Anns an là ſin, bidh air cluig nan each, NAOMHACHD DO 'N TIGHEARN: agus bidh an coireachan ann an tigh an Tighearna mar na cuachaibh ſa chomhair na h-altarach.

21 Seadh bidh gach poit ann an Ierusalem, agus ann an Iudah, nan naomhachd do Thighearn nan ſluagh: agus thig iadſan uile dh' iobras, agus gabhaidh iad dhiubh, agus bruichidh iad annta: agus cha bhi ni 's mò an Canaanach [a] ann an tigh Iehobhah Dhia nan ſluagh, ſan là ſin.

[a] *ceannuiche.*

MALACHI.

M A L A C H I.

C A I B. I.

FA'ISNEACHD focail an Tighearna chum Iſraeil, le Malachi.

2 Ghràdhaich miſe ſibh, deir an Tighearn: Gidheadh tha ſibhſe ag ràdh, Ciod ſan do ghràdhaich thu ſinn? Nach b'e Eſau bràthair Iacoib, deir an Tighearn? gidheadh ghràdhaich miſe Iacob,

3 Agus dh' *fhuathaich* mi Eſau; agus chuir mi a ſhléibhtean fàs, agus tha 'òighreachd aig nathraichibh an fhàſaich.

4 Mar a ta Edom ag ràdh, Rinneadh bochd ſinn, ach pillidh ſinn agus togaidh ſinn na h-ionada ſgaoilte; mar ſo deir Tighearn nan ſluagh, Togaidh iadſan, ach tilgidh miſe sìos; agus goirear riu, Crìoch na h-aingidheachd, agus an ſluagh ris am bheil corruich aig an Tighearn gu sìorruidh.

5 Agus chi 'ur sùilean-ſa, agus their ſibh, Bidh an Tighearn air 'ardachadh thar crìochan Iſraeil.

6 Bheir mac onoir d'a athair, agus ſeirbhiſeach d'a mhaighſtir; ma 's athair miſe ma ta, c' àit am bheil m' onoir? agus ma 's maighſtir mi, c' àit am bheil m' eagal? deir Tighearn nan ſluagh ruibhſe, O ſhagartan a ta deanamh tàir air m' ainm-ſa; agus a deir ſibh, Ciod anns an d' rinn ſinne tàir air d' ainm?

7 Tha ſibh a' toirt ſeachad arain thruaillte air m' altair; agus tha ſibh ag ràdh, Ciod anns an d' rinn ſinne do thruailleadh? Le ſibh a bhi 'g ràdh, Tha bord an Tighearna ſuarrach.

8 A nis ma thairgeas ſibh an nì ta dall mar ìobairt, nach olc ſin? agus ma thairgeas ſibh an ni ta bacach agus tinn, nach olc ſin? tairg e nis do d' uachdaran, am bi e toilichte leat, no 'n gabh e riut, deir Tighearn nan ſluagh?

9 Agus a nis, guidheam oirbh, iarruibh aghaidh an Tighearna gu 'm bi e tròcaireach dhuinn. Is ann o 'r làimh-ſa thàinig ſo; an gabh miſe ri aon agaibh gu taitneach? deir Tighearn nan ſluagh.

10 Gu cinnteach druidear na dorſan 'n 'ur n-aghaidh; agus cha 'n fhadaidh ſibh teine air m' altair-ſa gu dìomhain. Cha 'n 'eil tlachd air bith agam annaibh, deir Tighearn nan ſluagh, ni mò ghabhas mi tabhartas air bith o 'r làimh.

11 Oir, o éirigh na gréine gu ruig a dol sìos, bidh m' ainm-ſa mòr am meaſg nan cinneach; agus anns gach àite tairgear tùis do m' ainm-ſa, agus tabhartas fìor-ghlan: oir bidh m' ainm mòr am meaſg nan cinneach, deir Tighearn nan ſluagh.

12 Ach thruaill ſibhs' e, le ſibh a bhi 'g ràdh, Tha bord an Tighearna truaillte; agus an tabhartas air, *eadhon* a bhiadh, tha e ſuarrach.

13 Thubhairt ſibh fòs, Cia mòr an ſgìos e? agus ſhéid ſibh uaibh e, deir Tighearn nan ſluagh! agus thug ſibh *do m' ionnſuidh an ni bha* reubta, agus bacach, agus tinn; mar ſo thug ſibh tabhartas: an gabh miſe ſin o 'r làimh, deir Tighearn nan ſluagh?

14 Ach malluichte gu robh am mealltair, aig am bheil firionn na threud, agus a bhòidicheas agus a dh' ìobras ni truaillidh do 'n Tighearn: oir

is

is Righ mòr mise, deir Tighearn nan sluagh, agus tha m' ainm uamhasach am measg nan cinneach.

CAIB. II.

AGUS a nis dhuibhse tha 'n àithne so, O shagartan.

2 Mur éisd sibh, agus mur cuir sibh an suim i, chum glòir a thoirt do m' ainm-sa, deir Tighearn nan sluagh, cuiridh mise eadhon mallachd oirbh; agus mallaichidh mi 'ur beannachdan: seadh mhallaich mi iad cheana, a chionn nach 'eil sibh 'g a chur an suim.

3 Feuch bheir mi air an t-siol nach fàs e, agus tilgidh mi aolach 'n 'ur n-aghaidh, aolach 'ur n-ard-fhéillean; agus giùlainear sibh féin maille ris.

4 Agus aithnichidh sibh gu 'n do chuir mise chugaibh an àithne so, a chum gu maireadh mo choimhcheangal le Lebhi, deir Tighearn nan sluagh.

5 Bha mo choimhcheangal ris-san, mu thimchioll beatha agus sìth, agus thug mi dha iad, air son an eagail leis an robh eagal air romham, agus leis an robh geilt air roimh m' ainm.

6 Bha lagh na fìrinn na bheul, agus cha d'fhuaireadh aingidheachd na bhilibh; ghluais e leamsa ann an sìth agus ann an ionracas, agus phill e mòran air falbh o euceart.

7 Oir bu chòir do bhilibh an t-sagairt eòlas a choimhead, agus bu chòir an reachd iarruidh as a bheul: oir is esan teachdaire Tighearna nan sluagh.

8 Ach chaidh sibh air seacharan o 'n t-slighe; thug sibh air mòran tuisleachadh air an reachd: thruaill sibh coimhcheangal Lebhi, deir Tighearn nan sluagh.

9 Uime sin rinn mise fòs sibhse suarrach agus tàireil ann an sealladh an uile shluaigh, do réir mar nach do choimhid sibh mo shligheanna, ach gu 'n robh sibh leth-bhreitheach anns an lagh.

10 Nach 'eil aon athair againn uile? nach aon Dia a chruthaich sinn? c' uim' am bheil sinn a' buntainn gu fealltach, gach duine an aghaidh a bhràthar, le bhi briseadh coimhcheangail 'ur n-aithrichean?

11 Bhuin Iudah gu fealltach, agus chuireadh gràinealachd an gnìomh ann an Israel agus ann an Ierusalem: oir thruaill Iudah naomhachd Dhia a's ionmhuinn leis, agus phòs e nighean dé choimhich.

12 Gearraidh an Tighearn as an duine ni so: am fear-faire, agus am fear-freagraidh, a mach a pàilliunnaibh Iacoib; agus esan a bheir tabhartas do Thighearn nan sluagh.

13 Agus so fòs rinn sibh; chòmhdaich sibh le deuraibh altair an Tighearna, le gul, agus le h-éigheach; ionnus nach 'eil suim aige do thabhartas ni 's mò, agus cha ghabh e le deagh-ghean o 'r làimh e.

14 Gidheadh tha sibh ag ràdh, C' ar son? A chionn gu 'n robh an Tighearn na fhianuis eadar thu agus bean d' òige, ris an do bhuin thu gu fealltach: gidheadh b' i do bhanachompanach i, agus bean do choimhcheangail.

15 Agus nach d' rinn e aon *fheoil dhubh?* agus tha fuigheall an spioraid aige. Agus ciod a tha esan ag iarruidh? sliochd diadhaidh. Uime sin biodh faicill agaibh air 'ur spiorad, agus na buineadh neach air bith gu fealltach an aghaidh mnà 'òige.

16 Oir is fuath leam-sa esan a chuireas air falbh, deir an Tighearn Dia Israeil: agus esan a dh'fholaicheas aincart le 'thruscan, deir Tighearn nan sluagh. Uime sin biodh faicill agaibh air 'ur spiorad, nach buin sibh gu fealltach.

17 Sgìthich sibh an Tighearn le 'r briathraibh: gidheadh a deir sibh, Ciod anns an do sgìthich sinne e? Le sibh a bhi 'g ràdh, Tha gach aon a ta deanamh uilc taitneach ann an sealladh an Tighearna; agus tha tlachd aig annta: no, C' àit am bheil Dia a' bhreitheanais?

CAIB. III.

FEUCH cuiridh mise mach mo theachdaire, agus ulmhaichidh e 'n t-slighe romham; agus thig an Tighearn a ta sibh ag iarruidh, g'a theampull gu grad: eadhon teachdaire a' choimhcheangail, anns am bheil 'ur tlachd; feuch thig esan, deir Tighearn nan sluagh.

2 Ach cò dh'fheudas là a theachd a ghiùlan? agus cò ſheaſas ar uair a dh'fhoillſichear e? oir is coimhuil e ri teine 'n fhir-leaghaidh, agus ri acuinn-ghlanaidh an fhir a nigheas eudach.

3 Agus ſuidhidh e mar fhear-leaghaidh agus glanaidh airgid: agus glanaidh e mic Lebhi, agus ſaoraidh e o ſhàl iad, mar òr agus mar airgiod, a chum gu 'm bi iad nan òglaich do 'n Tighearn, a' tairgſeadh dha tabhartais ann am fìreantachd.

4 An ſin bidh tabhartas Iudah agus Ieruſaleim taitneach do 'n Tighearn, mar anns na laithibh o ſhean, agus anns na bliadhnaibh roimhe ſo.

5 Agus thig miſe dlù dhuibh gu breitheanas, agus bidh mi a' m' fhianuis luath an aghaidh fhioſaichean, agus an aghaidh adhaltranach, agus an aghaidh na muinntir a bheir mionnan-eithich, agus an aghaidh na muinntir a ta cumail air ais a thuaraſdail o 'n t-ſeirbhiſeach, *a' sàruchadh* na bantraich agus an dìlleachdain, agus a' cur a' choigrich a thaoibh, agus air nach 'eil eagal romham-ſa, deir Tighearn nan ſluagh.

6 Oir is miſe Iehobhah, cha chaochail mi; air an aobhar ſin cha 'n 'eil ſibhſe, O chlann Iacoib, air 'ur ſgrios.

7 Eadhon o laithibh 'ur n-aithrichean chlaon ſibh o m' reachdaibh-ſa, agus cha do choimhid ſibh *iad*: pillibh riumſa, agus pillidh miſe ruibhſe, deir Tighearn nan ſluagh: Ach thuirt ſibhſe, Ciod anns am pill ſinn?

8 An ſpùinn duine Dia[a]? gidheadh ſpùinn ſibhſe miſe: ach tha ſibh ag ràdh, Ciod anns an do ſpùinn ſinn thu? Ann an deachamh agus ann an tabhartaſaibh.

9 Tha ſibh malluichte le mallachd: oir ſpùinn ſibh miſe; eadhon an cinneach ſo uile.

10 Thugaibh an deachamh uile chum an tigh-thaiſg, air chor as gu 'm bi biadh ann am thigh-ſa; agus dearbhaibh mi nis leis an ni ſo, deir Tighearn nan ſluagh, mur foſgail mi dhuibh uinneagan nan nèamh, a dhortadh a mach beannachd oirbh, gus nach bi àit ann 'ga chumail.

11 Agus cronaichidh mi am milltear air 'ur ſgàth-ſa, agus cha mhill e toradh 'ur fearainn, ni mò thilgeas 'ur fìneamhuin a meas anabuich ſan fhaiche, deir Tighearn nan ſluagh.

12 Agus goiridh na h-uile chinnich beannuichte ſibh[b]: oir bidh ſibh 'n 'ur dùthaich thaitnich, deir Tighearn nan ſluagh.

13 Bha 'ur briathran dalma[c] ann am aghaidh-ſa, deir an Tighearn; gidheadh tha ſibh ag ràdh, Ciod a labhair ſinn a'd' aghaidh.

14 Thubhairt ſibh, Is dìomhain ſeirbhis a thoirt do 'n Tighearn; agus ciod a' bhuannachd dhuinn gu 'n do choimhid ſinn 'ordugh, agus gu 'n do ghluais ſinn gu brònach an làthair Tighearna nan ſluagh?

15 Agus a nis tha ſinn a' meas nan uaibhreach ſona: ſeadh tha iadſan a ta cur an gnìomh aingidheachd air an arduchadh: ſeadh tha iadſan a ta buaireadh Dhia, eadhon air an ſaoradh.

16 An ſin labhair iadſan air an robh eagal an Tighearna, gach aon gu tric ri chéile, agus dh' éiſd an Tighearn, agus chual' e, agus bha leabhair-cuimhne air a ſgrìobhadh na làthair air ſon na muinntir air an robh eagal an Tighearna, agus a ſmaointich air 'ainm.

17 Bidh iad leamſa[d], deir Tighearn nan ſluagh anns an là ſin anns an dean mi ſuas mo ſheudan; agus coiglidh mi iad, mar a choigleas duine a mhac féin a ta deanamh ſeirbhis da.

18 An ſin pillidh ſibhſe, agus chì ſibh an dealachadh eadar am fìrean agus an t-aingidh: eadar an ti ta deanamh ſeirbhis do Dhia, agus an ti nach 'eil ri ſeirbhis da idir.

C A I B. IV.

OIR feuch tha 'n là a' teachd, a loiſgeas mar àmhuinn; agus bidh na h-uaibhreich uile, ſeadh gach neach a ta ri aingidheachd, mar aſbhuain;

a *An dean duine sladadh air Dia?*
b *beannuichidh na h-uile chinnich dhuibh.*
c *dàna, treun.*
d *buinidh iad dhomhſa.*

bhuain; agus loisgidh an là ta teachd
suas iad, deir Tighearn nan sluagh;
oir cha 'n fhàg e bun no barr
dhiubh.

2 Ach dhuibhsa air am bheil eag-
al m' ainm-sa éiridh Grian na fìr-
eantachd le slàinte na sgiathaibh;
agus théid sibh a mach, agus fàs-
aidh sibh suas mar laoigh bhiadhta.

3 Agus saltraidh sibh sìos na h-
aingidh: oir bidh iad mar luaithre fo
bhonnaibh 'ur cos, anns an là san
dean mise *so*, deir Tighearn nan
sluagh.

4 Cuimhnichibh-sa lagh Mhaois
m' òglaich, a dh' àithn mise dha ann
an Horeb, air son Israeil uile, *eadhon*
na reachdan agus na breitheanais.

5 Feuch cuiridh mise do 'r n-
ionnsuidh Eliah am fàidh, roimh
theachd là mhòir agus uamhasaich an
Tighearna.

6 Agus tionndaidhidh esan cridhe
nan aithrichean a chum na cloinne, a-
gus cridhe na cloinne chum an aith-
richean, eagal gu 'n dthig mise, agus
gu 'm buail mi am fearann le léir-
sgrios.

CRIOCH.

TIOMNADH NUADH

AR

TIGHEARNA AGUS AR SLANUIGHIR

IOSA CRIOSD.

EADAR-THEANGAICHTE

O'N GHREUGAIS CHUM GAELIC ALBANNAICH.

EDINBURGH:
PRINTED FOR THE BRITISH AND FOREIGN BIBLE SOCIETY,
INSTITUTED IN THE YEAR 1804,
From the last Edition of the Society in Scotland for propagating Christian Knowledge.

1813.

Entered in Stationers' Hall.

6

Printed at the University Press.

ADVERTISEMENT

To the Edition of 1796.

IN the year 1767, the Society for propagating Christian Knowledge published the first edition of the following translation of the New Testament, into the Gaelic language. In the opinion of good judges, the work was executed in the most faithful manner, and it has been well received in every part of the Highlands. The author, however, was himself sensible that it was susceptible of improvement, and in an interleaved copy marked with his own hand several corrections, which in the present edition have been carefully made. With a view to its further improvement, the translation has lately, in whole or in part, been revised by gentlemen in different parts of the Highlands, who were every way qualified for that important task, and have freely communicated their remarks to the editor. He has ventured, however, to make no alterations, but such as, on a critical examination, appeared necessary and important, and such as the author himself, had he been in life, would have probably approved of.

In the original, some words not unfrequently occur, which may be differently interpreted. In such cases, that signification which was judged the most proper has been always adopted. The other meanings have, however, been in many instances given at the bottom of the page.

GENERAL RULES

FOR READING THE

GAELIC LANGUAGE.

OF THE LETTERS.

In the Gaelic language there are eighteen letters, viz. *a, b, c, d, e, f, g, h, i, l, m, n, o, p, r, s, t, u;* which are divided into vowels and consonants.

OF THE VOWELS.

There are five vowels, *a, e, i, o, u.*

A is sounded as in the English words *hall, halt;* but before *dh* and *gh* it has often the sound of the diphthong *ao*, as in *lagh*, law, *magh*, a field.

E represents two different sounds: 1*st*, That of the Greek epsilon, or of *ea* in the English word *bear;* as in *rè*, the moon, and *dé*, yesterday: 2*dly*, That of *a* in *care;* as in *e* or *se* he, *rè* during the time of.

I is sounded like *ee* in English; *O*, as in the words *bone, morn, lot;* and *U* like *oo* in *moon, fool.*

The vowels are divided into BROAD and SMALL. *A, o, u,* are called broad vowels; and *e, i,* small.

In a word of two or more syllables, if the former ends with a broad vowel, the next syllable must begin with a broad vowel; if with a small vowel, with a small. Accordingly, it is reckoned false orthography to write *deanibh* do ye, and not *deanaibh*, though the last *a* is never sounded. But in compound words this rule may often be properly dispensed with.

All the vowels are sometimes long, sometimes short. When long, they are generally marked with accents.

In all the syllables of Polysyllables, except the first, the vowels have a short and obscure sound, as in the English words *sun, bird, mother;* and the broad, and sometimes the small, are used for one another.

OF THE DIPHTHONGS.

There are thirteen diphthongs, viz. *ae, ai, ao, ea, ei, eo, eu, ia, io, iu, oi, ua, ui;* which are either PROPER or IMPROPER.

Ao and *eu* are improper diphthongs, representing simple sounds; the former of which is perhaps peculiar to this language, and only attainable by the ear: The latter is like that of the Greek epsilon, or the Latin *æ*.

All the other diphthongs are proper; the sound of each of the vowels that enters into their composition being more or less heard. In *ae, ai, ei, oi, io, ia, ua,* and *ui,* the last vowel, and in *ea, eo,* and *iu,* the first vowel is but faintly sounded.

The diphthongs *eu, ia,* and *ua,* are always long. The other diphthongs are sometimes long, sometimes short.

OF THE TRIPHTHONGS.

There are five triphthongs, viz. *aoi, eoi, iai, iui, uai.* They are pronounced like the diphthongs *ao, eo, ia, iu,* and *ua,* with the addition of a short *i.* They are all long, and never occur but in monosyllables, or the first syllables of polysyllables.

OF THE CONSONANTS.

There are thirteen consonants, viz. *b, c, d, f, g, h, l, m, n, p, r, s, t;* which are divided into MUTABLE and IMMUTABLE.

The mutable are such as, by having an *h* subjoined to them, either alter or lose their usual sound, viz. *b, c, d, f, g, m, p, s, t.*

The immutable consonants are such as are never aspirated, or have an *h* subjoined to them, viz. *l, n, r.*

After a short vowel or diphthong, the consonants are generally pronounced as when written double in English. Thus, *cos* a foot, *aran* bread, are to be pronounced as if written *coss, arran.*

A consonant standing alone is sounded as if it were the initial letter of the following word, if it begins with a vowel, or as the final letter of the preceding word, if it ends with a vowel; as *an t-anam* the soul, *le d' chridhe* with thy heart, to be pronounced *an tanam, led chridhe.*

Bh and *mh* have the sound of *v* in English. Thus *a bhean* his wife, *a mhàthair* his mother, are to be read as if written *a vean, a vàthair. Mh* in the middle and end of polysyllables is often either silent, or stands for a gentle aspiration.

C is always sounded as the Greek κ, or k in English. Thus, *car* a turn, *ceann* a head, are to be pronounced *kar, keann. Ch* has the sound of the Greek χ, or of *gh* in *lough,* as the Irish pronounce it.

Dh and *gh,* in the beginning of words, are commonly sounded like the English consonant *y* in *you, your.* Thus, *dha* to him, *a ghaol* his love, are to be pronounced as if written *ya, a yaol.* In the middle, or end of words, they are often silent, or have the sound of a faint aspiration.

Fh is silent; as *fheara* O men, *gun fhios* without notice, to be read *'eara, gun 'ios;* but *fhuair* he found, is to be read as *huair,* the *f* only being quiescent.

G is always sounded as in the English words *get, good.*

PH has the sound of *f:* as in *phill e* he returned, to be pronounced *fill e.*

S before or after a broad vowel in the same syllable, is sounded as in English. But, when immediately before or after a small vowel, it has the sound of *sh.* It has the same sound in *so* this, *sud* yonder, to be pronounced *sho, shud. S* in the beginning of words, when preceded by the article, with a *t* intervening, is silent: Thus, *an t-sùil* the eye is to be pronounced as if written *an tùil. S* has the same sound as in English in *is* is, *is* or *as* and.

Sh and *th* in the beginning of words have the sound of *h* alone. Thus, *a' bhean shona* the happy woman, *a' chainnt thlà* the smooth speech, are to be pronounced *a vean hona, a chainnt hlà. Th* after a long vowel, diphthong, or triphthong, is nearly silent; but, after a short vowel or diphthong, it has the force of a rapid aspiration, as in *crith* shaking, *ruith* or *ruidh* running.

The immutable consonants, *l, n, r,* when initials of words not connected with others in a sentence, have a soft double sound, to be learned only by the

ear. But wherever the order of construction requires that the mutable consonants should be aspirated, the immutable lose their double sound, and are pronounced nearly as in English. Thus, the initial letters of the adjectives *mòr* great, and *luath* swift, when joined with feminine substantives in the nominative singular, must be sounded like *v* and *l* in English; as *beinn mhòr (vòr)* a great mountain, *cos luath* a swift foot. But with masculine substantives they retain their primitive sound, as *fear mòr* a great man, *cù luath (lluath)* a swift dog.

When the consanants *l*, *n*, *r*, have their double sound in the middle or end of words, they are written double, as in *gall* a foreigner, *fearr* better.

Leabhraichean an Tiomnaidh Nuaidh.

Soisgeul Mhata, anns am bheil	28 Caib.	2 Litir Phoil chum nan Tesalonianach	3 Caib.
Soisgeul Mharcuis	16 —	1 Timoteuis	6 —
Soisgeul Lucais	24 —	2 Timoteuis	4 —
Soisgeul Eoin	21 —	Tituis	3 —
Gniomhara nan Abstol	28 —	Philemoin	1 —
Litir Phoil chum nan Romhanach	16 —	Eabhruidheach	13 —
1 Corintianach	16 —	Litir Sheumais	5 —
2 Corintianach	13 —	Litir 1 Pheadair	5 —
Galatianach	6 —	Litir 2 Pheadair	3 —
Ephesianach	6 —	Litir 1 Eoin	5 —
Philipianach	4 —	Litir 2 Eoin	1 —
Colosianach	4 —	Litir 3 Eoin	1 —
1 Tesalonianach	5 —	Litir Iudais	1 —
		Taisbeanadh Eoin	22 —

An SQISGEUL

A REIR

MHATA

CAIB. I.

1 *Sinnsearachd,* 18 *Gineamhuin,* 21 *breith,* 23 *agus mineachadh ainm Chriosd.*

LEABHAR ginealaich Iosa Criosd, mhic Dhaibhi, mhic Abrahaim.

2 Ghin Abraham Isaac, agus ghin Isaac Iacob, agus ghin Iacob Iudas agus a bhràithrean.

3 Agus ghin Iudas Phares agus Sara o Thamar, agus ghin Phares Esrom, agus ghin Esrom Aram.

4 Agus ghin Aram Aminadab, agus ghin Aminadab Naason, agus ghin Naason Salmon.

5 Agus ghin Salmon Boos o Rachab, agus ghin Boos Obed o Rut, agus ghin Obed Iese.

6 Agus ghin Iese Daibhi an righ, agus ghin Daibhi an righ Solomon o'n mhnaoi *a bha* aig Urias.

7 Agus ghin Solomon Roboam, agus ghin Roboam Abia, agus ghin Abia Asa.

8 Agus ghin Asa Iosaphat, agus ghin Iosaphat Ioram, agus ghin Ioram Osias.

9 Agus ghin Osias Ioatam, agus ghin Ioatam Achas, agus ghin Achas Esecias.

10 Agus ghin Esecias Manases, agus ghin Manases Amon, agus ghin Amon Iosias.

11 Agus ghin Iosias Iechonias agus a bhràithre, mu àm an giùlain do Bhabilon.

12 Agus an déigh an toirt do Bhabilon, ghin Iechonias Salatiel, agus ghin Salatiel Serobabel.

13 Agus ghin Serobabel Abiud, agus ghin Abiud Eliacim, agus ghin Eliacim Asor.

14 Agus ghin Asor Sadoc, agus ghin Sadoc Achim, agus ghin Achim Eliud.

15 Agus ghin Eliud Eleasar, agus ghin Eleasar Matan, agus ghin Matan Iacob.

16 Agus ghin Iacob Ioseph fear Mhuire, o'n d'rugadh Iosa, d'an goirear Criosd.

17 Uime sin na h-uile ghinealaich o Abraham gu Daibhi, *is* ceithir ginealaich deug iad; agus o Dhaibhi gu bruid Bhabiloin, ceithir ginealaich deug; agus o bhruid Bhabiloin gu Criosd, ceithir ginealaich deug.

18 Agus mar so bha breith Iosa Criosd: oir an déigh do cheangal pòsaidh bhi air a dheanamh eadar a mhàthair Muire agus Ioseph, roimh dhoibh teachd cuideachd, fhuaradh torrach i o 'n Spiorad Naomh.

19 Ach air bhi do Ioseph a fear 'na dhuine cothromach, agus gun toil aige ball-sampuill a dheanamh dh'i, bu mhiann leis a cur uaith os ìosal.

20 Ach ag smuaineachadh nan nithese dha, feuch, dh'fhoillsich aingeal an Tighearna é fein da am bruadar, ag radh, A Ioseph, a mhic Dhaibhi, na biodh eagal ort do bhean Muire a ghabhail ad'ionnsuidh: oir an ni a ta air a ghineamhuin innte, is ann o'n Spiorad Naomh e.

21 Agus beiridh i mac, agus bheir thu Iosa dh'ainm air; oir saoraidh a se a phobull fein o'm peacaibh.

22 (Agus rinneadh so uile, chum

gu coimhliontadh an ni a thubhairt
an Tighearna leis an fhàidh, ag radh,
23 Feuch, bithidh maighdean torr-
ach, agus beiridh i mac, agus bheir
iad Emanuel a dh'ainm air, 's ionann
sin r'a *radh*, air eadar-theangachadh,
Dia maille ruinn.)
24 Agus air mosgladh do Ioseph
as a chodal, rinn e mar a dh'iarr ain-
geal an Tighearn air, agus ghabh e
d'a ionnsuidh a bhean:
25 Agus cha d'aithnich e i gus an
d'rug i a ceud-ghin mic; agus thug e
Iosa dh'ainm air.

CAIB. II.

1 *Thug na Draidhean urram do Chriosd; 14 Theich Ioseph leis do'n Eiphit, 16 agus mharbh Herod na leanabana.*

AGUS an uair a rugadh Iosa am
Betlehem Iudea, an *laithibh*
Heroid an righ, feuch, *thainig* druidh-
ean[b] o'n aird an ear gu Hierusalem,
2 Ag radh, C'ait am bheil righ sin
nan Iudhach a ta air a bhreith? oir
chunnaic sinne a reult san aird an
ear, agus a ta sinn air teachd a thabh-
airt aoraidh[c] dha.
3 An uair a chual Herod an righ
sin, bha e fuidh thrioblaid[d], agus Hie-
rusalem uile maille ris.
4 Agus air cruinneachadh nan ard
shagart uile dha, agus scrìobhuichean
a' phobuill, dh' fheòraich e dhiubh
c'àit an robh Criosd gu bhi air a
bhreith.
5 Agus thubhairt iad ris, Am Bet-
lehem Iudea: oir mar so scrìobhadh
leis an fhàidh;
6 Agus thusa Bhetlehem *an* tìr
Iuda, cha tu idir is lugha am measg
phrionnsadh[e] Iuda: oir asadsa thig
Uachdaran a stiùras mo phobull Is-
rael.
7 An sin air do Herod na druidh-
ean a ghairm os ìosal d'a ionnsuidh,
gheur-fhiosruich e dhiubh cia an t-àm
an d'fhoillsicheadh an reult.
8 Agus chuir e iad gu Betlehem,
agus thubhairt e, Imichibh, agus iarr-
uibh gu dìchiollach an naoidhean, a-
gus an déigh fhaotainn[f] dhuibh, inn-
sibh dhomhsa e, chum gu rachamsa
fein, agus gu deanam aoradh dha.
9 Agus an uair a chual iad an righ,
dh'imich iad; agus feuch, chaidh an
reult a chunnaic iad san aird an ear
rompa, gus an d'thainig i agus gu'n
do stad i os cionn an ionaid an robh
an naoidhean.
10 Agus an uair a chunnaic iad an
reult, rinn iad gairdeachas le h-aoibh-
neas ro mhòr.
11 Agus air dol a steach dhoibh
do'n *tigh*, fhuair iad an naoidhean am
fochair[g] a mhàthar Muire, agus thuit
iad sìos, agus rinn iad aoradh dha:
agus air fosgladh an ionmhas dhoibh,
thug iad dha tiodhlacan; òr, agus
tùis, agus mirr.
12 Agus air faotainn rabhaidh *o*
Dhia am bruadar, gun iad a philltinn
a *dh'ionnsuidh* Heroid, chaidh iad
d'an dùthaich fein air slighe eile.
13 Agus an uair a dh'imich iad
air an ais, feuch, nochdadh aingeal an
Tighearna do Ioseph ann am bruadar,
ag radh, Eirich, agus gabh an naoidh-
ean agus a mhàthair, agus teich do'n
Eiphit, agus bi an sin gus an labhair
mise riut: oir iarruidh Herod an naoi-
dhean g'a mhilleadh.
14 Agus dh'éirich e, agus ghabh e
d'a ionnsuidh an naoidhean agus a
mhàthair san oidhche, agus dh'imich
e do'n Eiphit.
15 Agus bha e an sin gu bàs He-
roid: a chum gu coimhliontadh an ni
a labhair an Tighearna leis an fhàidh,
ag radh, A mach as an Eiphit ghoir
mi mo Mhac.
16 An sin an uair a chunnaic He-
rod gu'n d'rinn na druidhean fanoid
air[h], las e le feirg ro mhòir, agus
chuir e *luchd-millidh* uaith, agus
mharbh e na bha do leanabaibh mac
am Betlehem, agus 'na criochaibh uile,
o aois dhà bhliadhna agus fuidh, a rèir
na h-aimsir a dh'fhoghluim e gu dì-
chiollach o na druidhibh.
17 An sin choimhlion[illegible] Si-
labhradh le Ieremias [illegible]
radh, [illegible] agus a bha
18 Chualas guth a[illegible] gularaibh, a-
agus gul, agus bròn [illegible], agus iad-
[illegible]

[b] *daoine glic.* [c] *onoir.* [d] *air a bhuaireadh.* [e] *cheannard.* [f] *fhaghainn.*
[g] *maille ri.* [h] *gu'n do mheall na druidhean e.*

a' caoineadh a cloinne, agus cha b'àill
leatha sòlas a ghabhail, a chionn nach
'eil iad *beo*.
19 Ach an uair a dh'eug Herod,
feuch, nochdadh aingeal an Tighear-
na am bruadar do Ioseph san Eiph-
it,
20 Ag radh, Eirich, agus gabh an
naoidhean agus a mhàthair, agus i-
mich gu talamh Israeil: oir fhuair
an dream a bha 'g iarraidh anama an
leinibh bàs.
21 Agus dh'éirich esan, agus ghabh
e an leanabh agus a mhàthair d'a
ionnsuidh, agus thainig e gu talamh
Israeil.
22 Ach an uair a chual e Archelaus
a bhi 'na righ an *tìr* Iudea an ionad
Heroid 'athar, bha eagal air dol an
sin: ach, air faotainn da rabhaidh *o
Dhia* am bruadar, thionndaidh e gu
crìochaibh *Ghalile*:
23 Agus thainig e agus ghabh e
còmhnuidh am baile d'an goirear Na-
saret, a chum gu coimhlìontadh an
ni a thubhradh leis na fàidhibh, Gu
goirear Nasardha dheth.

CAIB. III.

1 *Teagasg agus caitheamh-beatha Eoin Bhaiste; 13 leis an do bhaisteadh Iosa Criosd.*

AGUS anns na laithibh sin thai-
nig Eoin Baiste, a' searmonach
am fàsach Iudea,
2 Agus ag radh, Gabhaibh aith-
reachas: oir a ta rioghachd nèimhe
am fogus.
3 Oir is e so an ti ud mu'n do labh-
air Esaias am fàidh, ag radh, Guth
an ti a ghlaodhas anns an fhàsach,
Ulluichibh slighe an Tighearna, dean-
aibh a cheumanna dìreach
4 Agus bha a chulaidh aig Eoin
do fhionna chàmhal, agus crios lea-
thair aige timchioll a leasraidh; agus
is [illegible] bu bhiadh dha locuist agus mil
fh[illegible]
[illegible] Hierusalem a mach d'a
[illegible]in agus Iudea uile, agus
[illegible]aidh na dùcha timchioll
[illegible]
[illegible]teadh iad leissan ann
[illegible]dmheil am peacanna.
7 Ach an uair a chunnaic e mòran
do na Phairisich, agus do na Sadu-
saich a' teachd a chum a bhaistidh-
san, thubhairt e riu, A shìol nan
nathraiche nimhe, cò a thug rabhadh
dhuibhse teicheadh o'n fheirg a ta
ri teachd?
8 Air an aobhar sin thugaibh a
mach toradh iomchuidh do'n aith-
reachas.
9 Agus na smuainichibh a radh
annaibh fein, A ta Abraham 'na a-
thair againn: oir a ta mi 'g radh ribh,
gur comasach Dia air clann a thogail
suas a dh' Abraham do na clochaibh
sin.
10 Agus a nis a ta an tuadh air a
cur ri freumh nan crann: air an aobh-
ar sin, ge b'e crann nach toir a mach
toradh maith, gearrar e, agus tilgear
san teine e.
11 Gu deimhin ataimse 'gar baist-
eadh le h-uisge chum aithreachais;
ach an ti a thig a'm' dhéigh, is cumh-
achdaich e na mi, agus cha'n fhiu
mise a bhrògan iomchar: baistidh
esan sibh leis an Spiorad Naomh, a-
gus le teine:
12 Aig am bheil a ghuit 'na laimh,
agus glanaidh e gu ro bhaileach 'ùr-
lar bualaidh, agus cruinnichidh e a
chruineachd d'a thaisg-thigh; ach
loisgidh e am moll le teine nach feud-
ar a mhùchadh.
13 An sin thainig Iosa o Ghalile
gu Iordan a dh'ionnsuidh Eoin, chum
gu'm biodh e air a bhaisteadh leis.
14 Ach bhac Eoin e, ag radh, A ta
feum agamsa bhi air mo bhaisteadh
leatsa, agus am bheil thusa a' teachd
do m' ionnsuidhse?
15 Agus fhreagair Iosa agus thubh-
airt e ris, Leig *do'n chùis a bhi mar*
so a nis: oir mar so is iomchuidh
dhuinn gach uile fhìreantachd a
choimhlionadh. An sin dh'fhulaing
e dha.
16 Agus an uair a bhaisteadh Io-
sa, chaidh e air ball suas as an uisge;
agus feuch, dh'fhosgladh nèamh dha,
agus chunnaic e Spiorad Dé a' tuir-
ling[l] mar choluman, agus a' teachd
airsan:
17 Agus feuch, guth o nèamh, ag

[i] *re.* [l] *teachd a nuas.*

radh, Is e so mo Mhac gràdhach, am bheil mo mhòr thlachd.

CAIB. IV.

1 Bhuair an diabhol Criosd an déis fad throsgaidh. 17 An dóigh de Iosa
buadhachadh air, thòisich e air searmonachadh.

AN sin threòruicheadh Iosa leis an Spiorad do'n fhàsach, chum gu'm biodh e air a bhuaireadh leis an diabhol.

2 Agus an uair a throisg e dà fhichead là agus dà fhichead oidhche, an déigh sin bha ocras air.

3 Agus air teachd do'n bhuaireadair d'a ionnsuidh thubhairt e, Ma's tu Mac Dhé, thoir àithne do na clochaibh so a bhi 'nan aran.

4 Ach fhreagair esan agus thubhairt e, Ata e sgrìobhta, Cha'n *ann le h-aran amhàin a bheathuichear* duine, ach leis gach uile fhocal a thig o bheul Dé.

5 An sin thug an diabhol e do'n bhaile naomha, agus chuir e air binnein an teampuill e,

6 Agus thubhairt e ris, Ma's tu Mac Dhé, tilg thu féin sìos: oir a ta e sgrìobhta, gu toir e àithne d'a ainglibh ad thimchioll, agus togaidh iad suas *thu* 'nan lamhaibh, chum as nach buail thu uair air bith do chos air cloich.

7 Thubhairt Iosa ris a rìs, Ata e sgrìobhta, Cha bhuair[m] thu an Tighearna do Dhia.

8 Thug an diabhol e a rìs chum beinne ro aird, agus nochd e dha uile rioghachdan an domhain, agus an glòir:

9 Agus thubhairt e ris, Iad so uile bheir mise dhuit, ma's e air tuiteam dhuit sìos gu'n dean thu aoradh dhomhsa.

10 An sin thubhairt Iosa ris, Imich uam, a Shatain: oir ata e sgrìobhta, Bheir thu aoradh do'n Tighearna do Dhia, agus dhasan 'na aonar ni thu seirbhis.

11 An sin dh'fhàg an diabhol e; agus feuch, thainig aingil agus fhritheil iad da.

12 Ach an uair a chual Iosa gu'n do chuireadh Eoin an laimh, dh'imich e do Ghalile.

13 Agus air fàgail Nasaret da, thainig e agus rinn e còmhnuidh ann an Capernaum, a ta chois na fairge, ann an leth-iomall Shabuloin agus Nephtalim:

14 A chum gu'n coimhliontadh an ni a thubhradh le Esaias am fàidh, ag radh,

15 Talamh Shabuloin, agus talamh Nephtalim, slighe na fairge air an taobh thall do Iordan[n], Galile nan Cinneach:

16 Am pobull a bha 'nan suidhe an dorchadas, chunnaic iad solus mòr; agus a ta solus air éirigh do na daoinibh a bha 'nan suidhe an tìr agus an sgàil a' bhàis.

17 O sin a mach thòisich Iosa air *searmoin a* dheanamh, agus a radh, Gabhaibh aithreachas, oir a ta rioghachd nèimhe am fogus.

18 Agus ag imeachd do Iosa ri taobh fairge Ghalile, chunnaic e dithis bhràithre, Simon d'an goirear Peadar, agus Aindreas a bhràthair, a' tilgeadh lìn' san fhairge: (oir b'iasgairean iad.)

19 Agus thubhairt e riu, Leanaibh mise, agus ni mi iasgairean air daoinibh dhibh.

20 Agus air ball dh'fhàg iad na lìonta, agus lean iad esan.

21 Agus air triall da as sin, chunnaic e dithis eile bhràithre, Seumas *mac* Shebede, agus Eoin a bhràthair, ann an long maille r'an athair Sebede, a' càradh an lìon: agus ghairm e iad.

22 Agus air ball dh'fhàg iad an long agus an athair, agus lean iad e.

23 Agus dh'imich Iosa timchioll Ghalile uile, a' teagasg 'nan sionagogaibh, agus a' searmonachadh soisgeil na rioghachd, agus a' slànuchadh gach gnè tinnis, agus gach gnè eucail am measg an t-sluaigh [illegible]

24 Agus chaidh a chliu [illegible]
ria uile: agus thug iad [illegible]
iadsan uile a bha euslan [illegible]
air an cuibhreachadh [illegible]
gus iomadh gnè phian [illegible]
sin aig an robh deamhain [illegible]

m *dearbh.* n *ri taobh Iordain.*

gus air an robh an tuiteamach[o], agus
luchd pairilise[p]; agus shlànuich e
iad.
25 Agus lean cuideachd mhòr e o
Ghalile, agus o Dhecapolis, agus o
Hierusalem, agus o Iudea, agus o na
crìochaibh a ta do'n taobh thall do
Iordan.

CAIB. V.

Searmoin Chriosd air a' bheinn, anns am bheil na h-ochd beannachdan, agus mìneachadh an Lagha.

AGUS an uair a chunnaic Iosa
an sluagh, chaidh e suas air
beinn: agus air suidhe dha, thainig a
dheisciobuil d'a ionnsuidh.
2 Agus dh'fhosgail e a bheul, a-
gus theagaisg e iad, ag radh,
3 *Is* beannuicht' iadsan a ta bochd
'nan spiorad: oir is leo rioghachd
nèimhe.
4 *Is* beannuicht' iadsan a ta ri
bròn: oir gheibh iad sòlas.
5 *Is* beannuichte na daoine mac-
anta[r], oir sealbhuichidh iad an ta-
lamh mar oighreachd.
6 *Is* beannuicht' an dream air am
bheil ocras agus tart na còrach[s]: oir
sàsuichear iad.
7 *Is* beannuichte na daoine tròcair-
each: oir gheibh iad tròcair.
8 *Is* beannuichte na daoine a ta
glan 'nan cridhe: oir chi iad Dia.
9 *Is* beannuichte luchd dheanamh
nà sìth: oir goirear clann Dé dhiubh.
10 *Is* beannuicht' an dream a ta
fulang geur-leanmhuinn air son na
còrach: oir is leo-san rioghachd nèi-
mhe.
11 *Is* beannuichte bhitheas sibh an
uair a bheir daoine anacainnt dhuibh,
agus a ni iad geur-leanmhuinn *oirbh*,
agus a labhras iad gach uile dhroch
fhocal ribh gu breugach air mo sgàth-
sa.
12 Deanuibh gairdeachas, agus bi-
thibh ro shubhach: oir is mòr bhur
duais air nèamh: oir mar sin rinn
iad geur-leanmhuinn air na fàidhibh
a bha roimhibh.
13 Is sibhse salann na talmhainn:
gidheadh ma chailleas an salann a
bhlas, ciod leis an saillear e? cha 'n
'eil feum ann o sin suas, ach a thilg-
eadh mach, agus a shaltairt fa chos-
aibh dhaoine.
14 Is sibhse solus an t-saoghail.
Cha'n fheudar baile a ta air a shuidh-
eachadh air sliabh fholach.
15 Agus cha las daoine coinneal,
chum as gu'n cuir iad i fuidh shoith-
each, ach ann an coinnleir, agus ni i
solus do na'm bheil a stigh.
16 Gu ma h-ann mar sin a dheal-
ruicheas bhur solus an làthair dhaoine,
chum as gu faic iad bhur deadh oibre,
agus gu toir iad glòir do bhur n-A-
thair a ta air nèamh.
17 Na measaibh gu'n d'thainig
mise a sgaoileadh an lagha no nam
fàidh; ni h-ann[t] a sgaoileadh a thain-
ig mi, ach a choimhlionadh.
18 Oir a deirim[u] ribh gu fìrinn-
each, Gus an dtheid[a] nèamh agus
talamh thairis, cha dtheid aon lide[b]
no aon phunc do'n lagh thairis, gus
an coimhlionar gach aon ni.
19 Air an aobhar sin ge b'e neach
a sgaoileas aon do na h-àitheantaibh
so a's lugha, agus a theagaisgeas daoine
mar sin, goirear an duine is lugha
dheth ann an rioghachd nèimhe: ach
ge air bith neach a ni, agus a theag-
aisgeas *iad*, goirear duine mòr dheth
ann an rioghachd nèimhe.
20 Oir a deirim ribh, Mur toir
bhur fìreantachdsa barrachd air fì-
reantachd nan scrìobhuiche agus nam
Phairiseach, nach dtheid sibh air
chor air bith a steach do rioghachd
nèimhe.
21 Chuala sibh, gu'n dubhradh ris
na sinnsiribh, Na dean mortadh; a-
gus ge b'e neach a ni mortadh, bi-
thidh se an cunnart a' bhreitheanais.
22 Ach a deirimse ribh, Ge b'e
neach aig am bi fearg r'a bhràthair
gun aobhar, gu'm bi e an cunnart a'
bhreitheanais: agus ge b'e neach a
their r'a bhràthair, Raca, gu'm bi e
an cunnart na comhairle: ach ge b'e
neach a their, Amadain, gu'm bi e an
cunnart teine ifrinn.

[o] *tinneas na gealaich.* [p] *crith-ghalair.* [r] *ciuin, ceannsaich.* [s] *a'cheartais, na fìreantachd.* [t] *cha'n ann.* [u] *ta mi 'g radh, theiream.* [a] *an téid.* [b] *aon iota.*

23 Uime sin ma bheir thu do thabh-
artas[c] chum na h-altaire, agus gu'n
cuimhnich thu an sin gu bheil ni air
bith aig do bhràthair a'd' aghaidh;
24 Fag do thabhartas an sin an
làthair na h-altaire, agus imich, agus
dean réite air tùs ri d' bhràthair, agus
an déigh sin thig agus tabhair uait
do thiodhlacadh.
25 Bi réidh ri d' eascaraid gu luath,
am feadh a bhios tu maille ris san
t-slighe; air eagal gu'n toir an t-eas-
caradh thairis thu do'n bhreitheamh,
agus gu 'n toir am breitheamh thu
do'n mhaor, agus gu tilgear am prio-
sun thu.
26 A deirim riut gu firinneach nach
téid thu mach as sin, gus an ìoc thu
an fheoirling dheireannach.
27 Chuala sibh gu'n dubhradh ris[d]
na sinnsiribh, Na dean adhaltran-
nas.
28 Ach a deirimse ribh, Ge b'e
neach a dh'amhairceas air mnaoi
chum a miannachadh, gu'n d'rinn
e adhaltrannas leatha cheana 'na
chridhe.
29 Agus ma bheir do shùil dheas
aobhar tuislidh dhuit, spìon a mach i,
agus tilg uait i: oir is fearr dhuit gu
sgriosar aon do d' bhallaibh, na do
chorp uile bhi air a thilgeadh do if-
rinn.
30 Agus ma bheir do lamh dheas
oilbheum dhuit, gearr dhìot i, agus
tilg uait i: oir is fearr dhuit gu sgrios-
ar aon do d' bhallaibh, na do chorp
uile bhi air a thilgeadh do ifrinn.
31 Agus thubhradh, Ge b'e chuir-
eas a bhean phòsda air falbh, thugadh
e litir dhealaich dh'i.
32 Ach a deirimse ribh, Ge b'e
neach a chuireas air falbh a bhean
phòsda fein, ach a mhàin air son strìo-
pachais, gu bheil e toirt oirre adhal-
trannas a dheanamh: agus an ti a
phòsas a' bhean sin a chuireadh air
falbh, a ta e a' deanamh adhaltran-
nais.
33 Mar an ceudna, chuala sibh
gu'n dubhradh ris na sinnsiribh, Na
tabhair mionnan eitheich, ach coimh-
lion do mhionna do'n Tighearna.
34 Ach a deirimse ribh, Na tug-
aibh mionnan idir: na tugaibh air
nèamh, oir is e rìgh-chaitbir Dhé e.
35 Na tugaibh air an talamh, oir is
e stòl a chos e: na tugaibh air Hie-
rusalem, oir is e baile an righ mhòir e.
36 Na tabhair mionnan air do
cheann, oir cha'n urrainn thu aon
fhoiltein a dheanamh geal no dubh.
37 Ach gu ma h-e a's comhradh
dhuibh, 'Seadh, 'seadh. Ni h-eadh,
ni h-eadh; oir ge b'e ni a bhios os
cionn so, is ann o'n olc a ta e.
38 Chuala sibh gu'n dubhradh, Sùil
air son sùla, agus fiacail air son fiac-
la.
39 Ach a deirimse ribh, Na cuiribh
an aghaidh an uile: ach ge b'e neach
a bhuaileas tu air do ghial deas, tionn-
daidh chuige an gial eile mar an ceud-
na.
40 Agus an ti le'm b'àill thusa a
thagradh san lagh, agus do chòta a
bhuin dìot, leig leis t'fhalluing mar
an ceudna.
41 Agus ge b'e bheir leis air feadh
mìle a dhaindeoin thu, imich leis air
feadh dhà mhìle.
42 Tabhair do'n ti a dh'iarras ort,
agus uaithsan le'm bu mhiann iasachd
fhaotainn uait, na pill air falbh.
43 Chuala sibh gu'n dubhradh,
Gràdhaichidh tu do choimhearsnach,
agus bithidh fuath agad do d' nàmh-
aid.
44 Ach a deirimse ribh, Biodh
gràdh agaibh do bhur naimhdibh,
beannaichibh an droing a mhallaich-
eas sibh, deanaibh math do na daoin-
ibh air am beag sibh, agus deanaibh
ùrnuigh air son na muinntir a ta bun-
tuinn gu naimhdeil, agus a ta
'g ur geur-leanmhuinn;
45 A chum gu'm bi sibh 'n ar
cloinn do bhur n-Athair a ta air
nèamh, oir tha esan a' tabhairt air a
ghrèin fein èiridh air na droch dhaoin-
ibh, agus air na deadh dhaoinibh, a-
gus a' cur uisge air na fireanaibh, a-
gus air na neo-fhireanaibh.
46 Oir ma bhios gràdh agaibh do'n
mhuinntir aig am bheil gràdh dhuibh,
ciod an duais a gheibh sibh? nach
'eil eadhon na cis-mhaoir a' deanamh
an ni ceudna?

c thiodhlacadh. d iris.

47 Agus ma chuireas sibh fàilte
air bhur bràithribh fein a mhàin, ciod
a tha sibh a' deanamh thar *chàch?*
nach 'eil na cìs-mhaoir fein a' dean-
amh an ni ceudna?
48 Air an aobhar sin bithibhse
coimhlionta[e] mar a ta bhur n-Athair
a ta air nèamh coimhlionta.

CAIB. VI.

Leantuinn na searmoin air a' bheinn, anns am bheil Criosd a' labhairt mu dhéirc, 5 mu ùrnuigh, 14 mu mhaitheanas d'ar bràithribh, &c.

THUGAIBH an aire nach
toir[f] sibh bhur déirc am fianuis
dhaoine, chum gu 'm faicear leo sibh:
no cha 'n fhaigh sibh tuarasdal o
bhur n-Athair a ta air nèamh.
2 Uime sin, an uair a bheir thu do
dhéirc, na toir fa'near galltromp a
shéideadh romhad, mar a ni na ceal-
gairean, anns na sionagogaibh, agus
anns na sràidibh, chum as gu faigh
iad glòir o dhaoinibh. Gu firinneach
a deirimse ribh, gu bheil an tuarasdal
aca.
3 Ach an uair a bheir thusa déirc,
na biodh fios aig do laimh chli ciod
a ta do lamh dheas a' deanamh:
4 Chum gu'm bi do dhéirc am fol-
ach: agus bheir t'Athair a chi am
folach, duais dhuitse os aird.
5 Agus an uair a ni thu ùrnuigh,
na bi mar luchd an fhuar-chràbhaidh:
oir is ionmhuinn leo ùrnuigh a dhean-
amh sna sionagogaibh, agus ann an
coinneachadh nan sràid 'nan seasamh,
chum gu faicear le daoinibh iad. Gu
deimhin a deirimse ribh, gu bheil an
tuarasdal aca.
6 Ach thusa, an uair a ni thu ùr-
nuigh, imich a steach do d' sheomar,
agus air dùnadh do dhoruis duit, dean
ùrnuigh ri t' Athair a ta an uaignidh-
eas, agus bheir t'Athair a chi an
uaignidheas, duais dhuit gu follais-
each.
[illegible] ag deanamh ùrnuigh dhuibh,
na gnàth[illegible]hibh ath-iarrtais dhìomh-
ain, mar na Cinnich: oir saoilidh
iadsan gu'n éisdear riu air son lìon-
mhoireachd an focla.
8 Uime sin na bithibhse cosmhuil
riu: oir a ta fios aig bhur n-Athair
cia iad na nithe a ta dh'uireasbhuidh
oirbh, mun iarr sibh air iad.
9 Air an aobhar sin deanaibhse
ùrnuigh air a' mhodh so: Ar n-A-
thair a ta air nèamh, Gu naomh-
aichear t'ainm.
10 Thigeadh do rioghachd. Dean-
ar do thoil air an talamh, mar *a nithear*
air nèamh.
11 Tabhair dhuinn an diugh ar n-a-
ran laitheil.
12 Agus maith dhuinn ar fiacha,
amhuil mar a mhaitheas sinne d'ar
luchd-fiach[g].
13 Agus na leig am buaireadh sinn,
ach saor sinn o olc: Oir is leatsa an
rioghachd, agus an cumhachd, agus
a' ghlòir, gu siorruidh. Amen.
14 Oir ma mhaitheas sibh an cionta
do dhaoinibh, maithidh bhur n-A-
thair nèamhaidh dhuibhse mar an
ceudna.
15 Ach mur maith sibh an cionta
do dhaoinibh, cha mhò a mhaitheas
bhur n-Athair dhuibhse bhur cionta.
16 Agus an uair a ni sibh trosgadh,
na bitheadh gruaim air bhur gnùis,
mar luchd an fhuar-chràbhaidh: oir
cuiridh iadsan mi-dhreach air an agh-
aidh chum gu faicear le daoinibh iad
a bhi trosgadh. Deirim ribh gu fi-
rinneach gu bheil an tuarasdal aca.
17 Ach thusa, an uair a ni thu
trosgadh, cuir ola air do cheann, agus
ionnail t'aghaidh[h]:
18 Chum nach faicear le daoinibh
gu bheil thu a' deanamh trosgaidh,
ach le t' Athair a ta an uaignidheas:
agus bheir t' Athair a chi an uaig-
nidheas, duais dhuit gu follaiseach.
19 Na taisgibh dhuibh fein ion-
mhais air an talamh, far an truaill[i]
an leomann[l] agus a' mheirg e, agus
far an cladhaich na meirlich a stigh
agus an goid iad.
20 Ach taisgibh ionmhais dhuibh
fein air nèamh, far nach truaill an
leomann no a' mheirg, agus nach
cladhaich agus nach goid na meir-
lich.
21 Oir ge b'e ball am bheil bhur

[e] *foirfe, diongmhalta.* [f] *dean.* [g] *feichneinibh.* [h] *t'eudan.* [i] *mill.*
[l] *an reudan, a'mhiol chrion.*

n-ionmhas, is ann an sin a bhios bhur cridhe mar an ceudna.

22 Is i an *t-sùil solus a' chuirp*: uime sin ma bhios do shùil glan, bithidh do chorp uile làn soluis.

23 Ach ma bhios do shùil gu h-olc, bithidh do chorp uile dorcha. Air an aobhar sin ma ta an solus a ta annad 'n a dhorchadas, cia mòr an dorchadas sin?

24 Cha'n urrainn neach air bith seirbhis a dheanamh do dhà Thighearna: oir an dara cuid bithidh fuath aige do neach aca, agus gràdh do neach eile; no gabhuidh e le neach aca, agus ni e tàir air neach eile. Cha 'n urrainn sibh seirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhamon.

25 Uime sin a deirimse ribh, Na biodh ro-chùram oirbh mu thimchioll bhur beatha, ciod a dh'itheas no dh'òlas sibh; no mu thimchioll bhur cuirp, ciod a chuireas sibh umaibh: an e nach mò a' bheatha na 'm biadh, agus an corp na'n t-eudach?

26 Amhairceibh air eunlaith an athair: oir cha chuir iad sìol, agus cha bhuain iad, agus cha chruinnich iad an saibhlibh; gidheadh a ta bhur n-Athair nèamhaidhse 'g am beathachadh; an e nach fearr sibhse gu mòr na iadsan?

27 Agus cia agaibh le mòr chùram a dh'fheudas aon lamh-choille[m] a chur r'a airde fein?

28 Agus c'ar son a ta sibh ro chùramach mu thimchioll bhur culaidh? fòghlumaibh cionnus a ta na lilighean a' fàs sa' mhachair; cha saothraich iad, agus cha snìomh iad.

29 Gidheadh a deirimse ribh, Nach robh Solamh fein 'n a uile ghlòir, air eudachadh mar aon diubh so.

30 Air an aobhar sin, ma ta Dia mar sin a' sgeadachadh feoir na machaire, a ta an diugh ann, agus am màireach air a thilgeadh san àmhuinn, an e nach mò na sin *a sgeadaicheas* e sibhse, a dhaoine air bheag creidimh?

31 Uime sin na bithibh làn do chùram, ag radh, Ciod a dh'itheas sinn? no ciod a dh'òlas sinn? no ciod a chuireas sinn umainn?

32 (Oir iad so uile iarraidh na Cinnich) oir a ta fios aig bhur n-Athair nèamhaidh gu bheil feum agaibhse air na nithibh so uile.

33 Ach iarraibh air tùs rioghachd Dhé, agus fhìreantachdsan, agus cuirear na nithe so uile ribh.

34 Uime sin na bitheadh ro-chùram oirbh mu thimchioll an la màireach: oir bithidh a làn do chùram air an la màireach mu thimchioll a nithe fein: *is* leòr do'n là 'olc fein.

CAIB. VII.

Anns an bheil ar Slànuighear a' crìochnachadh na searmoin air a' bheinn, 1 a' cronuchadh breth ghrad, a' toirmeasg nithe naomha chur an neoshuim, &c.

NA tugaibh breth, chum nach toirear breth oirbh:

2 Oir a réir na breth a bheir sibh, bheirear breth oirbh: agus leis an tomhas le'n tomhais sibh, tomhaisear dhuibh a rìs.

3 Agus c'ar son a ta thu a' faicinn an smùirnein[n] a ta an sùil do bhràthar, ach nach 'eil thu tabhairt fa'near an t-sail a ta ann do shùil fein?

4 No cionnus a their thu ri d'bhràthair, Fulaing dhomh an smùirnein a spìonadh as do shùil; agus feuch, an t-sail ann do shùil fein?

5 A chealgair, buin air tùs an t-sail as do shùil fein; agus an sin is léir dhuit gu maith an smùirnein a bhuntuinn a sùil do bhràthar.

6 Na tilgibh an ni naomha do na madraidh, agus na tilgibh bhur neamhnuide am fianuis nam muc, air eagal gu saltair iad orra le'n cosaibh, agus[o] air pilltinn doibh gu reub iad sibh fein as a chéile.

7 Iarruibh agus bheirear dhuibh: siribh[p] agus gheibh sibh; buailibh *an dorus*, agus fosgailear dhuibh.

8 Oir gach uile neach a dh'iarras, glacuidh e: agus ge b'e a shireas, gheibh e: agus do 'n ti a bhuaileas *an dorus*, fosgailear.

9 Oir cò an duine asaibhse, ma e 's gu'n iarr a mhac aran, a bheir cloch dha?

10 Agus ma's iasg a dh'iarras e, an tabhair e nathair dha?

m *bhann-lamh.* n *caimein.* o no. p *lorgaichibh.*

11 Air an aobhar sin ma's aithne dhuibhse a ta olc, tiodhlacan maithe a thabhairt do bhur cloinn, nach mò na sin a bheir bhur n-Athair a ta air nèamh nithe maithe dhoibhsan a dh'iarras air *iad?*

12 Uime sin gach uile ni bu mhiann leibh daoine a dheanamh dhuibhse, deanaibhse a leithid dhoibhsan mar an ceudna: oir is e so an lagh agus na fàidhean.

13 Imichibh a steach air an dorus chumhann; oir is farsaing an dorus, agus is leathan an t-slighe a ta treòruchadh chum sgrios, agus is lìonmhor iad a ta dol a steach oirre:

14 Ach is [r] cumhann an dorus, agus is aimhleathan an t-slighe a ta treòruchadh chum na beatha, agus is tearc iad a ta 'g amas oirre.

15 Coimhidibh sibh fein o na fàidhibh bréige, a thig d'ar n-ionnsuidh ann an culaidhibh chaorach, ach a ta o 'n leth a stigh 'nam madraibh allta.

16 Air an toraibh aithnichidh sibh iad: an tionail daoine dearcan-fìona do dhrisibh, no figean do na foghannanaibh [s] ?

17 Agus mar sin bheir gach uile chrann maith toradh maith: ach bheir an droch chrann droch thoradh.

18 Cha'n fheud a' chraobh mhaith droch thoradh iomchar, no an droch chraobh toradh maith a thabhairt.

19 Gach uile chrann nach iomchair toradh maith, gearrar sìos e, agus tilgear san teine e.

20 Air an aobhar sin is ann air an toraibh a dh'aithnicheas sibh iad.

21 Ni h-e gach uile neach a their riumsa, A Thighearna, A Thighearna, a theid a steach do rioghachd nèimhe; ach an ti a ni toil m'Atharsa a ta air nèamh.

22 Is iomadh iad a their riumsa san là ud, A Thighearna, a Thighearna, nach d'rinn sinn a' t'ainmse fàidheadaireachd? agus a' t'ainmse nach do thilg sinn a mach deamhain? agus a't' ainmse nach d'rinn sinn iomadh mìorbhuile?

23 Agus an sin aidichidh mise os aird dhoibh, Cha b'aithne dhomh riamh sibh: imichibh uam, a luchd deanamh na h-eucorach.

24 Air an aobhar sin, gach uile neach a chluinneas na briathrasa agamsa, agus a ni iad, samhluichidh mi e ri duine glic, a thog a thigh air carraig:

25 Agus thuirling [t] an t-uisge, agus thainig na tuilte, agus shéid na gaotha, agus bhuail iad air na tigh sin: agus cha do thuit e, oir bha a bhunadh suidhichte air carraig.

26 Agus gach uile neach a chluinneas na briathra so agamsa, agus nach coimhlion iad, samhluichear e ri duine amaideach a thog a thigh air a' ghaineamh:

27 Agus thuirling an t-uisge, agus thainig na tuilte, agus shéid na gaotha, agus bhuail iad air an tigh sin: agus thuit e, agus bu mhòr a thuiteam.

28 Agus tharladh [u] an uair a chrìochnaich Iosa na briathrasa, gu'n do ghabh am pobull iongantas r'a theagasgsan:

29 Oir theagaisg e iad mar neach aig an robh cumhachd [a], agus ni h-ann mar na sgrìobhuichean.

CAIB. VIII.

1 *Ghlan Criosd an lobhar,* 5 *shlànuich e seirbhiseach a' Chaiptin-ceud,* 14 *màthair-chéile Pheadair, &c.*

AGUS air teachd a nuas o'n bheinn dha, lean cuideachd mhòr e.

2 Agus feuch, thainig lobhar, agus thug e urram dha, ag radh, A Thighearna, ma's àill leat, is comasach thu air mise a ghlanadh.

3 Agus shìn Iosa mach a lamh, agus bhean e ris, ag radh, Is àill leam; bi thusa glan. Agus air ball bha a loibhre air a glanadh.

4 Agus thubhairt Iosa ris, Feuch nach innis thu do dhuine sam bith, ach imich, taisbein thu fein do'n t-sagart, agus beir chuige [b], an tiodhlacadh a dh'àithn Maois, mar fhianuis dhoibh.

5 Agus air dol do Iosa steach do Chapernaum, thainig d'a ionnsuidh Caiptin-ceud, a' guidhe air,

6 Agus ag radh, A Thighearna, tha m'òglach 'na luidhe a stigh am

[r] *do bhrigh gur.* [s] *cluaranaibh.* [t] *thainig anuas.* [u] *thachair.*
[a] *ùghdarras.* [b] *thuige, d'a ionnsuidh.*

pairilis, *agus* air a phianadh gu h-an-
abarrach.
7 Agus *thubhairt Iosa ris,* Théid
mise, *agus* slànuichidh mi e.
8 *Agus air freagairt* do'n Chaip-
tin-ceud, thubhairt e, A Thighearna,
cha'n *fhiu* mise thusa a theachd a
steach *fa* m' chleith: ach a mhàin
abair am focal, agus slànuichear
m'òglach.
9 Oir is duine mise fein a ta fuidh
ùghdarras, aig am bheil saighdeara
fuim: agus a deirim ris an fhear so,
Imich, agus imichidh e: agus ris an
fhear so eile, Thig, agus thig e: a-
gus ri m'shearbhant, Dean so, agus
ni se e.
10 'Nuair a chual Iosa so, ghabh
e iongantas, agus thubhairt e ris a'
mhuinntir a lean *e,* Gu firinneach a
deirim ribh, ann an Israel *fein* nach
d'fhuair *mi creidimh* co mòr as
so.
11 *Agus* a deirim ribh, gu'n dthig
mòran o 'n àird an ear, agus o 'n àird
an iar, agus gu'n suidh iad maille ri
Abraham, agus Isaac, agus Iacob,
ann an rioghachd nèimhe;
12 Ach gu'n tilgear clann na
rioghachd ann an dorchadas a ta'n
leth a muigh: bithidh an sin gul a-
gus giosgan [c] *fhiacal.*
13 Agus thubhairt Iosa ris a' chaip-
tin-ceud, Imich romhad, agus biodh
dhuit a réir mar a chreid thu. Agus
shlànuicheadh 'òglach air an uair sin
fein.
14 Agus an uair a thainig Iosa gu
tigh Pheadair, chunnaic e màthair a
mhnà 'na luidhe, agus i ann am fiabh-
rus [d].
15 Agus bhean e r'a laimh, agus
dh'fhàg am fiabhrus i: agus dh'éirich
i, agus rinn i frithealadh dha [e].
16 Agus an uair a bha am feasgar
air teachd, thug iad d'a ionnsuidh
mòran anns an robh deamhain; agus
thilg e na spioraid a mach le fhocal,
agus shlànu'ch e iad uile a bha eu-
slan:
17 A chum gu'n coimhliontadh [f]
an ni a labhradh le Esaias am fàidh,
ag radh, Ghabh esan ar n-anmhuinn-
eachdan air *fein,* agus dh'iomchair e
ar n-euslaintean.
18 Agus an uair a chunnaic Iosa
sluagh mòr m'a thimchioll, dh'àithn
e dol a sin do'n taobh eile.
19 Agus thainig scrìobhuiche àr-
aidh, agus thubhairt e ris, A mhaigh-
stir, leanuidh mise thu, ge b'e taobh a
théid thu.
20 Agus thubhairt Iosa ris, Ata
tuill aig na sionnaich, agus nid aig
eunlaith an athair [g]; ach cha'n'eil aig
Mac an duine ionad anns an cuir e a
cheann fuidh.
21 Agus thubhairt fear eile d'a
dheisciobluibh ris, A Thighearn, *leig*
dhomhsa imeachd air tùs agus m'a-
thair adhlacadh.
22 Ach thubhairt Iosa ris, Lean
mise, agus leig leis na mairbh am
mairbh fein adhlacadh.
23 Agus air dol dhasan a steach
do luing, lean a dheisciobuil e.
24 Agus feuch, dh'éirich stoirm
mhòr air an fhairge, ionnus gu'n
d'fholaich na tuinn an long: ach bha
esan 'na chodal.
25 Agus thainig a dheisciobuil d'a
ionnsuidh, agus dhùisg iad e, ag radh,
A Thighearn, teasairg sinn: a ta sinn
caillte.
26 Agus thubhairt e riu, C'ar son
a ta sibh eagalach, sibhse air bheag
creidimh? An sin dh'éirich e, agus
chronuich e na gaothan agus an fhair-
ge; agus bha ciuine mhòr ann.
27 Ach ghabh na daoine iongan-
tas, ag radh, Creud h-e gnè dhuine
so, gu bheil na gaotha fein agus an
fhairge ùmhal dha?
28 Agus air teachd dha do'n taobh
eile, gu tìr na Gergeseneach [i], thach-
air dithis do dhaoinibh air, anns an
robh deamhain, a' teachd a mach as
na tuamaibh, agus iad ro ghairg, ion-
nus nach feudadh duine sam bith an
t-slighe sin a ghabhail.
29 Agus feuch, ghlaodh iad ag
radh, Ciod e ar gnothuch-ne riut, Io-
sa a Mhic Dhé? An d'thainig thu
an so g'ar pianadh roimh an àm?
30 Agus bha treud mòr mhuc a
fad uatha ag ionaltradh.

[c] *snagardaich.* [d] *an teasaich.* [e] *doibh.* [f] *Air chor as gu'n do*
choimhlionadh. [g] *aidheir.* [h] *Ciod.* [i] *Gadareneach.*

31 Agus dh'iarr na deamhain a dh'athchuinge airsan, ag radh, Ma thilgeas tu mach sinn, leig dhuinn dol san treud mhuc ud.

32 Agus thubhairt e riu, Imichibh. Agus air dol a mach dhoibh, chaidh iad anns an treud mhuc: agus feuch, ruith an treud mhuc uile gu dian sìos air ionad corrach[l], do 'n chuan; agus chailleadh sna h-uisgibh iad.

33 Agus theich na buachaillean, agus chaidh iad do'n bhaile, agus dh'innis iad na nithese uile, agus na thachair dhoibhsan anns an robh na deamhain.

34 Agus feuch, chaidh am bail' uile a mach a choinneachadh Iosa, agus an uair a chunnaic iad e, ghuidh iad air imeachd as an crìochaibhsan.

CAIB. IX.

An déigh do Chriosd neach air an robh am pairilis a leigheas, 9 A ta se a' gairm Mhata o bhòrd na cìse, 10 ag itheadh maille ri cìs-mhaoir agus peacaich, &c.

AGUS air dol an luing dha, chaidh e thar *an uisge*, agus thainig e d'a bhaile fein.

2 Agus feuch, thug iad d'a ionnsuidh duine air an robh am pairilis, 'na luidhe air leabaidh: agus an uair a chunnaic Iosa an creidimh, thubhairt e ri fear na pairilis, Biodh deadh mhisneach agad, a mhic, a ta do pheacaidh air am maitheadh dhuit.

3 Agus feuch, thubhairt dream àcaidh do na scrìobhuichibh annta fein, A ta am fear so a' labhairt toibheim[m].

4 Agus air do Iosa an smuaintean fhaicinn, thubhairt e, C'ar son a ta sibh a' smuaineachadh uilc ann bhur cridhibh?

5 Oir cia is usadh a radh, A ta do pheacaidh air am maitheadh dhuit? no a radh, Eirich agus imich?

6 Ach a chum gu'm bi fios agaibh gu bheil cumhachd aig Mac an duine peacaidh a mhaitheadh air an talamh, (an sin thubhairt e ri fear na pairilis) Eirich, tog do leabaidh, agus imich do d' thigh.

7 Agus air éirigh dhasan, chaidh e d'a thigh fein.

8 Ach an uair a chunnaic am pobull *so*, ghabh iad iongantas, agus thug iad glòir do Dhia, a thug a leithid so a chumhachd do dhaoinibh.

9 Agus ag dol do Iosa as an àite sin, chunnaic e duine 'na shuidhe aig bòrd na cìse, d'am b'ainm Mata; agus thubhairt e ris, Lean mise. Agus air éirigh dhasan, lean se e.

10 Agus tharladh, air suidhe do Iosa aig biadh san tigh, feuch, thainig mòran chìs-mhaor agus pheacach, agus shuidh iad sìos maille ris-san agus r'a dheisciobluibh.

11 Agus an uair a chunnaic na Phairisich *so*, thubhairt iad r'a dheisciobluibh, C'ar son a dh'itheas bhur maighstirse maille ri cìs-mhaoraibh agus peacachaibh?

12 Ach an uair a chual Iosa *so*, thubhairt e riu, Cha'n ann aig a' mhuinntir a ta slàn a ta feum air an léigh, ach aig a' mhuinntir a ta euslan.

13 Ach imichibh agus fòghlumaibh ciod is ciall da so, Tròcair is àill leam, agus cha'n iobairt: oir cha d'thainig mise a ghairm nam fireanach, ach nam peacach chum aithreachais.

14 An sin thainig deisciobuil Eoin d'a ionnsuidh, ag radh, C'ar son a ta sinne agus na Phairisich a' trosgadh gu minic, ach ni 'm bheil do dheisciobuils' a' trosgadh?

15 Agus thubhairt Iosa riu, Am feud clann seomair an fhir-nuadhphòsda[n] bhi brònach, am feadh a bhitheas am fear-nuadh-pòsda 'n am fochair? Ach thig na laithean anns an tiubhrar am fear-nuadh-pòsda uatha, agus an sin ni iad trosgadh.

16 Cha chuir duine sam bith mìr do eudach nuadh air sean eudach; oir buinidh an ni a chuireadh g'a lìonadh suas as an eudach, agus nithear an reubadh ni's measa.

17 Cha mhò a chuireas daoine fion nuadh ann an seann searragaibh[o]: no brisear na searragan, agus dòirtear am fion, agus caillear na searragan: ach cuiridh iad fion nuadh ann an

l *cas.* m *dia-mhaslachaidh.* n *fhir-na-bainnse.* o *bhuideilibh.*

scarragaibh nuadha, agus bithidh iad araon slàn.

18 'Nuair a bha e a' labhairt nan nithese riu, feuch, thainig uachdaran àraidh, agus thug e onoir dha, ag radh, Fhuair mo nighean bàs air ball[p]: ach thigsa agus cuir do lamh oirre, agus bithidh i beo.

19 Agus dh'éirich Iosa, agus lean e fein agus a dheisciobuil e.

20 (Agus feuch, thainig bean, air an robh dòrtadh fola rè dhà bhliadhna dheug, air a chùlaobh, agus bhean i ri iomall 'eudaich.

21 Oir thubhairt i innte fein, Ma bheanas mi ach ri 'eudach, bithidh mi slàn.

22 Ach air tionndadh do Iosa m'an cuairt, chunnaic se i, agus thubhairt e, A nighean, biodh deadh mhisneach agad; shlànuich do chreidimh thu. Agus bha a' bhean slàn o'n uair sin.)

23 Agus an uair a thainig Iosa gu tigh an uachdarain, agus a chunnaic e an luchd ciuil, agus a' chuideachd a' deanamh toirm *bhròin*.

24 Thubhairt e riu, Imichibh roimhibh, oir cha'n 'eil an nìonag[r] marbh, ach 'na codal. Agus rinn iad gàire fochaid ris.

25 Ach an uair a chuireadh a' chuideachd a mach, chaidh e a steach, agus rug e air laimh oirre, agus dh'éirich an nìonag.

26 Agus chaidh iomradh sin a mach air feadh na tìre sin uile.

27 Agus an uair a dh'imich Iosa as sin, lean dithis dhall e, ag éigheach, agus ag radh, A Mhic Dhaibhi, dean tròcair oirnne.

28 Agus an uair a thainig e steach do'n tigh, thainig na doill d'a ionnsuidh: agus thubhairt Iosa riu, Am bheil sibh a' creidsinn gur comasach mise so a dheanamh? Thubhairt iad ris, Ata, a Thighearn.

29 An sin bhean e r'an sùilibh, ag radh, Biodh e dhuibh a réir bhur creidimh.

30 Agus dh'fhosgladh an sùilean, agus bhagair Iosa gu geur iad[s], ag radh, Faicibh nach faigh neach air bith fios air so:

31 Ach an uair a dh'imich iad a mach, sgaoil iad a chliù air feadh na dùcha sin uile.

32 Agus ag dol dhoibhsan a mach, feuch, thug iad d'a ionnsuidh duine balbh anns an robh deamhan.

33 Agus an déigh do'n deamhan a bhi air a thilgeadh a mach, labhair an balbhan: agus ghabh an sluagh iongantas, ag radh, Cha'n fhacas a leithid so ann an Israel riamh.

34 Ach thubhairt na Phairisich, Trìd phrionnsaidh nan deamhan a ta se a' tilgeadh a mach dheamhan.

35 Agus ghabh Iosa mu chuairt nan uile chathraiche agus bhailte[t], a' teagasg 'nan sionagogaibh, agus a' searmonachadh soisgeil na rioghachd, agus a' slànuchadh gach uile euslaint agus eucail am measg a' phobuill.

36 Ach an uair a chunnaic e an sluagh, ghabh e truas diubh, air son gu'n robh iad air fannuchadh, agus air an sgapadh o chéile, mar chaoraich aig nach 'eil buachaille[u].

37 An sin thubhairt e r'a dheisciobluibh, Gu deimhin is mòr am foghara, ach is tearc an luchd oibre.

38 Uime sin guidhibhse air Tighearn an fhogharaidh, luchd oibre chur a mach chum fhogharaidh fein.

CAIB. X.

1 Tha Criosd a' cur a mach a dhà Abstol deug, a' toirt cumhachd dhoibh miorbhuilean a dheanamh, 5 a' toirt orduigh dhoibh, agus 'g an teagasg, &c.

AGUS air gairm a dhà dheisciobul deug d'a ionnsuidh, thug e cumhachd dhoibh an aghaidh nan spiorad neoghlan, gu'n tilgeadh a mach, agus a shlànuchadh gach gnè euslainte, agus gach gnè eucail.

2 Agus is iad so ainmean an dà Abstol deug, an ceud *fhear*, Simon d'an goirear Peadar, agus Aindreas a bhràthair; Seumas mac Shebede, agus Eoin a bhràthair;

3 Philip agus Bartolomeu, Tomas agus Mata an cis-mhaor, Seumas mac Alpheuis, agus Lebeus d'an comhainm Tadeus;

[p] *a nis* [r] *cailin.* [s] *thug Iosa sparradh geur doibh.* [t] *bhailte mòr agus beag.* [u] *aodhairt*

4 Simon an Canaanach, agus Iudas Iscariot, an ti fòs a bhrath esan[a].

5 Chuir Iosa an dà fhear dheug so amach, a' tabhairt àithne dhoibh, ag radh, Na gabhaibh gu slighe nan Cinneach, agus na rachaibh a steach a dh'*aon* bhaile a bhuineas do na Samaraich [b]:

6 Ach gu ma fearr leibh dol a dh'ionnsuidh chaorach chaillte tighe Israeil.

7 Agus air imeachd dhuibh, searmonuichibh, ag radh, A ta rioghachd nèimhe am fagus.

8 Leighisibh an droing a ta tinn, glanuibh na lobhair, [dùisgibh na mairbh,] tilgibh amach na deamhain: a nasgaidh fhuair sibh, a nasgaidh thugaibh uaibh.

9 Na solairibh òr, no airgiod, no umha ann bhur sporanaibh[c];

10 No màla chum bhur turuis, no dà chòta, no brògan, no bataichean: (oir is fiu am fear oibre a lòn.[d])

11 Agus ge b'e air bith cathair no baile d'an dtheid sibh a steach, feòraichibh cia a ta 'na dheadh airidh innte; agus fanaibh an sin gus am fàg sibh an t-àite sin.

12 Agus air dol a steach do thigh dhuibh, beannuichibh dha.

13 Agus ma's fiu an tigh sin e, thigeadh bhur sìothchaint air; ach mur fiu e, pilleadh bhur sìothchaint chugaibh féin a rìs.

14 Agus ge b'e neach nach gabh ribh, agus nach éisd ri'r briathraibh; air dol a mach as an tigh, no as a' bhail*d* sin dhuibh, crathaibh dhibh duslach bhur cos.

15 Gu deimhin a deirim ribh, gur so-iomchair'a bhitheas staid fearainn Shodoim agus Ghomorra an là a' bhreitheanais, na staid a' bhaile sin.

16 Feuch, cuireamsa sibhse mach n'ar chaoraich am measg mhadradh alta: air an aobhar sin bithibhse glic mar na nathraiche, agus neo-chronail mar na colummain.

17 Ach bithibh air bhur faicill o dhaoinibh, oir bheir iad an laimh sibh do chomhairlibh, agus sgiùrsaidh iad sibh 'nan sionagogaibh.

18 Agus bheirear sibh an làthair uachdaran agus rìgh air mo sgàthsa, mar fhianuis doibhsan agus do na Cinnich[e].

19 Ach an uair a bheir iad an laimh sibh, na biodh e 'na ro-chùs oirbh cionnus no ciod a labhras sibh; oir bheirear dhuibhsan san uair sin fein an ni a labhras sibh.

20 Oir cha sibhse a labhras, ach Spiorad bhur n-Athar fein a labhras annaibh.

21 Agus bheir am bràthair a bhràthair fein suas chum bàis, agus an t-athair am mac: agus éiridh a' chlann an aghaidh am parantan, agus bheir iad fa'near gu cuirear gu bàs iad.

22 Agus bithidh fuath aig na h-uile dhaoinibh dhuibh air son m'ainmese: ach ge b'e bhuanaicheas gus a' chrìoch, is e so a shlànuichear.

23 Agus an uair a ni iad geur-leanmhuinn oirbh sa' bhaile so, teichibh gu baile eile; oir gu deimhin a deirim ribh, Nach imich sibh air feadh bhailtean Israeil mun dthig Mac an duine.

24 Cha 'n'eil an deisciobul os cionn a mhaighstir, no an seirbhiseach os cionn a thighearna.

25 Is leòr do'n deisciobul a bhi mar a mhaighstir, agus do'n t-seirbhiseach *a bhi* mar a thighearn: ma ghoir iad Beelsebub do fhear an tighe, nach mò na sin *a ghoireas iad e* d'a mhuinntir?

26 Uime sin na biodh eagal oirbh rompa: oir cha 'n'eil ni sam bith folaichte, nach foillsichear; agus an ceilt, nach aithnichear.

27 An ni a dh'innseas mise dhuibh san dorchadas, labhruibh e san t-solus: agus an ni a chluinneas sibh sa chluais, searmonuichibh e air mullach nan tighean.

28 Agus na biodh eagal na muinntir sin oirbh a mharbhas an corp, ach aig nach 'eil comas an t-anam a mharbhadh: ach gu ma mò bhitheas eagal an Ti sin oirbh, a's urrainn an corp agus an t-anam a mhilleadh araon an ifrinn.

[a] *an ti a thug esan thairis.* [b] *Samaritans. Sasg.* [c] *criosaibh.* [d] *a bhiadh.* [e] *'nan aghaidhsan agus nan Geintileach.*

29 Nach 'eil dà ghealbhonn air an reiceadh air fheoirling? agus cha tuit a h-aon diubh air an talamh as eugmhais *freasdail* bhur n-Atharsa.

30 Ach a ta eadhon fuilteine bhur cinn uile *air* an àireamh.

31 Air an aobhar sin na biodh eagal oirbh, is fearr sibhse na mòran ghealbhonn.

32 Uime sin ge b'e dh'aidicheas mise am fianuis dhaoine, aidichidh mise esan mar an ceudna am fianuis m'Athar a ta air nèamh.

33 Ach ge b'e dh'àicheadhas mise am fianuis dhaoine, àicheadhaidh mise esan am fianuis m'Athar a ta air nèamh.

34 Na measuibh gu'n d'thainig mise a chur sìothchaint air an talamh: cha 'n ann a chur sìothchaint a thainig mi, ach *a chur* claidheimh.

35 Oir thainig mi a chur duine an aghaidh 'athar, agus na h-inghin an aghaidh a màthar, agus bean a' mhic an aghaidh a màthar-chéile.

36 Agus is iad muinntir a theaghlaich fein *a bhitheas* 'nan naimhdibh do dhuine.

37 An ti a ghràdhuicheas athair no màthair ni's mò na mise, cha'n airidh orm e[f]: agus an ti a ghràdhuicheas mac no nighean os mo chionnsa, cha'n airidh orm e:

38 Agus an ti nach glac a chrann-ceusaidh, agus nach lean mise, cha'n fhiu e mise.

39 An ti a gheibh 'anam, caillidh se e: ach an ti a chailleas 'anam air mo shonsa, gheibh se e.

40 An ti a ghabhas ribhse, gabhaidh e riumsa; agus an ti a ghabhas riumsa, gabhaidh e ris an ti a chuir uaith mi.

41 An ti a ghabhas ri fàidh an ainm fàidh, gheibh e duais fàidh; agus an ti a ghabhas ri fìrean an ainm fìrein, gheibh e duais fìrein.

42 Agus ge b'e bheir cupan a dh'uisge fuar a mhàin r'a òl dh'aon neach do na daoinibh beaga so, an ainm deisciobuil, gu deimhin a deirim ribh, nach caill e air chor sam bith a dhuais.

CAIB. XI.

1 Ta Eoin a' cur a dheisciobul a dh'ionnsuidh Chriosd. 7 Briathra mu thimchioll Eoin, &c.

AGUS tharladh, an uair a chrìochnuich Iosa àithneantan a thabhairt d'a dhà dheisciobul deug, gu'n d'imich e as sin a theagasg agus a shearmonuchadh 'nam bailtibh.

2 A nis an uair a chual Eoin sa' phriosun gnìomhara Chriosd, chuir e dithis d'a dheisciobluibh *d'a ionnsuidh*,

3 Agus thubhairt e ris, An tusa an ti ud a bha ri teachd, no am bi sùil aguinn ri neach eile?

4 Fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Imichibh agus innsibh do Eoin na nithean a ta sibh a' cluinntinn agus a' faicinn:

5 A ta na doill a' faghail[g] an radhairc, agus na bacaich ag imeachd, a ta na lobhair air an glanadh, agus na bothair a' cluinntinn, a ta na mairbh air an dùsgadh, agus an soisgeul air a shearmonachadh do na bochdaibh.

6 Agus is beannuichte an ti nach faigh oilbheum annamsa.

7 Agus air imeachd dhoibhsan air falbh, thòisich Iosa air labhairt ris an t-sluagh mu thimchioll Eoin, *ag radh*, Ciod e an ni a chaidh sibh a mach do 'n fhasach a dh'fhaicinn? an i cuilc air a crathadh le gaoith?

8 Ach ciod e an ni a chaidh sibh a mach a dh'fhaicinn? an e duine air a sgeaduchadh uan an eudach mìn? feuch, a' mhuinntir a chaitheas eudach mìn, is ann an tighibh nan righ a ta iad.

9 Ach ciod e an ni a chaidh sibh a mach [illegible] e fàidh? seadh, a deirim ribh, agus ni's mò na fàidh.

10 Oir is e so an ti mu'm bheil e scrìobhta, Feuch, cuiream sa mo theachdaire roimh do ghnùis, a dh'ulluicheas do shlighe romhad.

11 Gu deimhin a deirim [illegible] measgsan a rugadh [illegible] d'éirich neach [illegible] Baiste gidheadh, an ti [illegible] an rìoghachd nèimhe, [illegible]

12 Agus [illegible] Eoin Baiste

[f] cha'n fhiu e mise. [g] faotainn.

gus a nis, a ta rioghachd nèimhe a'
fulang ainneart, agus luchd na h-ain-
neart 'ga glacadh le lamhachas-làidir.
13 Oir rinn na fàidhean uile, agus
an lagh fàidheadaireachd gu *àm*
Eoin.
14 Agus ma's toil leibh a ghabhail,
is e so Elias a bha ri teachd.
15 Ge b'e aig am bheil cluasan
chum éisdeachd, éisdeadh e.
16 Ach cia ris a shamhluicheas
mise an ginealach so? Is cosmhuil e
e ri cloinn a shuidheas anns a' mharg-
adh[h], agus ag éigheach r'an com-
panachaibh,
17 Agus ag radh, Rinn sinne pìob-
aireachd dhuibhse, ach cha d'rinn
sibhse dannsa: rinn sinne tuireadh[i]
dhuibhse, ach cha d'rinn sibhse gul.
18 Oir thainig Eoin ni h-ann ag
itheadh no 'g òl, agus tha iad ag radh,
A ta deamhan aige.
19 Thainig Mac an duine ag ith-
eadh agus ag òl, agus tha iad ag radh,
Feuch, duine geòcach agus pòiteir
fìona, caraid chìs-mhaor agus phea-
cach: ach a ta gliocas air a firean-
achadh leis a cloinn.
20 An sin thòisich e air achmhasan
a thabhairt do na bailtibh anns am
mò a rinneadh d'a oibribh cumhach-
dacha, air son nach d'rinn iad aith-
reachas.
21 Is anaoibhinn duit, a Chorasin;
is anaoibhinn duit, a Bhetsaida: oir
nam biodh na h-oibre cumhachdacha
a rinneadh annuibhse, air an dean-
amh ann an Tirus agus ann an Si-
don, is fada o'n a dheanadh iad aith-
reachas ann an saic-eudach agus an
luaith.
22 Ach a deirim ribh, Gu'm bi
staid Thiruis agus Shidoin ni's so-
iomchair' ann an là a' bhreitheanais,
na bhitheas bhur staidse.
23 Agus thusa, a Chapernaum, a
ta air do thogail suas gu nèamh, tilg-
ear sios gu h-ifrinn thu: oir nam
biodh na h-oibre cumhachdacha a
rinneadh annadsa, air an deanamh
ann an Sodom, dh'fhanadh e *gun a*
sgrios gus an diugh.
24 Ach a deirim ribh, gur so-iom-
chair' a bhitheas e do fhearann Sho-
doim ann an là a' bhreitheanais, na
dhuitse.
25 Anns an àm sin fhreagair Iosa
agus thubhairt e, Bheiream buidh-
eachas dhuit, o Athair, a Thighearna
nèimhe agus na talmhainn, air son gu
d'fholuich thu na nithe so o dhaoin-
ibh eagnuidh agus tuigseach, agus
gu d'fhoillsich thu iad do leanabaibh.
26 A seadh, Athair, do bhrigh
gu'm b'ann mar sin a bha do dheadh
thoilsa.
27 A ta na h-uile nithe air an
tabhairt thairis dhomhsa o m'Athair:
agus cha 'n aithne do neach air bith
am Mac, ach do'n Athair: ni mò is
aithne do neach air bith an t-Athair,
ach do'n Mhac, agus do gach aon
d'an àill leis a' Mhac fhoillseachadh.
28 Thigibh a m'ionnsuidhse, sibh-
se uile a ta ri saothair, agus fuidh
throm uallaich, agus bheir mise
suaimhneas[l] dhuibh.
29 Gabhuibh mo chuing oirbh, a-
gus fòghlumaibh uam, oir a ta mise
macant' agus iriosal[m] an cridhe: a-
gus gheibh sibh fois d'ar n-anamaibh.
30 Oir a ta mo chuingse so-iom-
chair, agus a ta m'uallach eutrom.

CAIB. XII.

1 *A ta Criosd a' cronuchadh doille nam Phairiseach mu thimchioll bris-idh na sàbaid,* 3 *le sgriobtuiribh,* 11 *le reuson,* 13 *le miorbhuil, &c.*

CHAIDH Iosa san àm sin air là
na sabaid troimh[n] na h-achaibh
arbhair, agus bha ocras air a dheis-
ciobuil, agus thòisich iad air diasan
arbhair a bhuain, agus itheadh.
2 Ach an uair a chunnaic na
Phairisich so, thubhairt iad ris, Feuch,
a ta do dheisciobuil a' deanamh an nì
nach còir a dheanamh air là na sà-
baid.
3 Agus thubhairt esan riu, Nach
do leugh sibh ciod a rinn Daibhi an
uair a bha ocras air fein, agus air a'
mhuinntir a bha maille ris,
4 Cionnus a chaidh e steach do
thigh Dhé, agus a dh'ith e aran
na fianuis[o], nach robh ceaduichte

[h] *na margaibh.* [i] *caoine.* [l] *fois.* [m] *ùmhal.* [n] *tre, trìd.* [o] *an t-aran taisbeanta.*

dha fein itheadh, no dhoibhsan a bha maille ris, ach do na sagartaibh a mhàin?

5 No nach do leugh sibh san lagh, gu bheil na sagairt anns an teampull air laithibh na sàbaid a' briseadh na sàbaid, agus iad neo-chiontach?

6 Ach a deirimse ribh, gu bheil san ionad so neach a's mò na'n teampull.

7 Agus nam biodh fhios agaibh ciod is ciall da so, Tròcair is àill leam agus cha 'n iobairt, cha dìteadh sibh an dream a ta neo-chiontach.

8 Oir is e Mac an duine Tighearna na sàbaide.

9 Agus air dha imeachd as sin, chaidh e steach d'an sionagog.

10 Agus feuch, bha duine ann, aig an robh lamh sheargta: agus dh'fheòruich iad dheth, ag radh, Am bheil e ceaduichte leigheas a dheanamh air laithibh na sàbaid? chum gu'm biodh cùis dhitidh aca dha.

11 Agus thubhairt esan riu, Cia agaibhs' an duine, aig am bi aon chaora, agus ma thuiteas i ann an slochd air là na sàbaid, nach beir e oirre, agus nach tog e mos i?

12 Nach mòr ma ta is fearr duine na caora? Uime sin a ta e ceaduichte maith a dheanamh air laithibh na sàbaid.

13 An sin thubhairt e ris an duine, Sìn a mach do lamh: agus shìn e mach i; agus bha i air a h-aiseag slàn, mar an lamh eile.

14 Ach chaidh na Phairisich a mach, agus chum iad comhairle 'na aghaidh, cionnus a dh'fheudadh iad a mhilleadh.

15 Ach an uair a thuig Iosa so, dh'imich e as sin: agus lean slòigh mhòr e, agus leighis e iad uile.

16 Agus thug e sparradh dhoibh chum nach deanadh iad follus e:

17 A chum gu coimhliontadh an ni a labhradh le Esaias am fàidh, ag radh,

18 Feuch, mo sheirbhiseach fein a thagh mi, m'aon gràdhach anns am bheil tlachd aig m'anam: cuiridh mi mo Spiorad fein air, agus nochdaidh e breitheanas do na Cinneachaibh.

19 Cha dean e stri, agus cha ghlaodh e, ni mò a chluinneas neach air bith a ghuth air na sràidibh.

20 Cha bhris e a' chuilc bhrùite, agus cha mhùch e an lion a ta ri deatach, gus an tabhair e mach breith-eanas chum buaidh.

21 Agus is ann a ainm-san a bhitheas muinighin aig na Cinneachaibh.

22 An sin thugadh d'a ionnsuidh duine anns an robh deamhan, dall agus balbh: agus shlànuich se e, ionnus gu'n do labhair am balbhan agus gu'n robh an dall a' faicinn.

23 Agus ghabh am pobull uile iongantas, agus thubhairt iad. An e[p] so Mac Dhaibhi?

24 Ach an uair a chuala na Phairisich so, thubhairt iad, Cha'n'eil am fear so a' tilgeadh a mach dheamhan, ach trid Bheelsebub prionnsadh nan deamhan.

25 Agus thuig Iosa an smuaintean, agus thubhairt e riu, Gach rioghachd a ta roinnte 'na h-aghaidh fein, nithear 'na fàsach i: agus gach uile bhaile no tigh a ta roinnte 'na aghaidh fein, cha seas e.

26 Agus ma thilgeas Satan a mach Satan, a ta e roinnte 'na aghaidh fein; air an aobhar sin cionnus a sheasas a rioghachd?

27 Agus ma taimse trìd Bheelsebub a' tilgeadh a mach dheamhan, trìd cò am bheil bhur clannsa 'gan tilgeadh a mach? Uime sin bithidh iad 'nam breitheanaibh oirbh:

28 Ach ma's ann le Spiorad Dhé a ta mise a' tilgeadh a mach dheamhan, thainig rioghachd Dhé chugaibhse[r].

29 No cionnus is urrainn neach dol do thigh duine làidir, agus airneis a thighe a chreachadh, mur ceangail e air tùs an duine làidir? agus an sin creachaidh e a thigh.

30 An ti nach 'eil leam, a ta e a'm' aghaidh: agus an ti nach cruinnich leam, sgapuidh e.

31 Air an aobhar sin a deirim ribh, Gu maithear gach peacadh agus gach toibheum do dhaoinibh: ach cha mhaithear toibheum an aghaidh an Spioraid *Naoimh* do dhaoinibh.

p *Nach e.* r *thugaibhse.*

32 Agus ge b'e neach a labhras focal an aghaidh Mhic an duine, maithear dha e: ach ge b'e neach a labhras an aghaidh an Spioraid Naoimh, cha mhaithear dha e, anns an t-saoghal so, no anns an t-saoghal a ta ri teachd.

33 An dara cuid deanuibh a' chraobh maith, agus a toradh maith; no deanuibh a' chraobh truaillidh, agus a toradh truaillidh: oir is ann air a toradh a dh'aithnichear a' chraobh.

34 A shliochd nan nathraiche nimhe, cionnus a dh'fheudas sibh nithe maithe a labhairt, o ata sibh fein olc? oir is ann a pailteas a' chridhe a labhras am beul.

35 Bheir duine maith a mach nithe maithe as a dheadh ionmhas[s]: agus bheir an droch dhuine mach droch nithe as a dhroch ionmhas.

36 Ach a deirim ribh, Gu'n tabhair daoine cunntas ann an là a' bhreitheanais air son gach focail dhìomhain a labhras iad.

37 Oir is ann as t'fhoclaibh a shaorar thu, agus is ann as t'fhoclaibh a dhìtear thu.

38 An sin fhreagair dream àraidh do na scrìobhuichean agus do na Phairisich, ag radh, A mhaighstir, bu mhiann leinn comhara fhaicinn uait.

39 Ach fhreagair esan agus thubhairt e riu, A ta ginealach olc agus adhaltrannach ag iarruidh comharaidh, agus cha tiubhrar comhara dhoibh, ach comhar' an fhàidh Ionais.

40 Oir mar a bha Ionas am broinn na muice-mara tri laithean agus tri oidhchean; is ann mar sin a bhitheas Mac an duine ann an cridhe na talmhainn tri laithean agus tri oidhchean.

41 Eiridh muinntir Ninebhe sa' bhreitheanas maille ris a' ghinealach so, agus dìtidh iad e; oir rinn iad aithreachas aig searmoin Ionais, agus feuch, a ta ni's mò na Ionas an so.

42 Eiridh banrighinn na h-àirde deas sa' bhreitheanas maille ris a' ghinealach so, agus dìtidh si e: oir thainig i o na h-àitibh a's iomallaich do'n talamh a dh'éisdeachd gliocais Sholaimh, agus feuch, a ta ni's mò na Solamh an so.

43 An déigh do'n spiorad neoghlan dol a mach a duine, imichidh se troimh ionadaibh tioma, ag iarruidh fois, agus cha 'n fhaigh e.

44 An sin their e, Pillidh mi do m' thigh as an d'thainig mi; agus air teachd dha, gheibh e falamh, sguabta, agus deadh-mhaiseach *e*.

45 Imichidh e an sin, agus bheir e leis seachd spioraid eile a's measa na e fein, agus theid iad a steach agus gabhuidh iad còmhnuidh an sin: agus bithidh staid dheireannach an duine sin ni's measa na a thoiseach. Is ann eadhon mar sin a thachaireas do'n ghinealach aingidh so.

46 Agus air dha bhi fathast a' labhairt ris a' phobull, feuch, sheas a mhàthair agus a bhràithrean a muigh, ag iarruidh labhairt ris.

47 An sin thubhairt neach eigin ris, Feuch, a ta do mhàthair, agus do bhràithrean 'nan seasamh a muigh, ag iarruidh labhairt riut.

48 Ach fhreagair esan agus thubhairt e ris an ti a dh'innis so dha, Cò i mo mhàthair? agus cò iad mo bhràithrean?

49 Agus air sìneadh a laimhe chum a dheisciobul, thubhairt e, Feuch mo mhàthair, agus mo bhràithrean.

50 Oir ge b'e neach a ni toil m' Athars' a ta air nèamh, is e sin fein mo bhràthair, agus mo phiuthar, agus mo mhàthair.

CAIB. XIII.

3 Cosamhlachd an t-sìoladair agus an t-sìl, 18 air eadar-mhìneachadh. 24 Cosamhlachd a' chogail, 13 an t-sìl-mhustaird, &c.

AIR an là sin fein chaidh Iosa mach as an tigh, agus shuidh e ri taobh na fairge.

2 Agus chruinnich sluagh mòr d'a ionnsuidh, air chor as air dol a steach do luing dha, gu'n do shuidh e, agus sheas an sluagh uile air an tràigh.

3 Agus labhair e mòran do nithibh riu ann an cosamhlachdaibh[t], ag radh, Feuch, chaidh sìoladair a mach a chur *sìl*.

[s] *a deadh ionmhas a' chridhe.* [t] *parablaibh, comhadaibh.*

4 Agus ag cur *an t-sìl* da, thuit cuid dheth ri *taobh* an ròid, agus thainig na h-eunlaith agus dh'ith iad e.

5 Thuit cuid air ionadaibh creagach, far nach robh mòran talmhainn aige: agus air ball dh'fhàs e suas, do bhrigh nach robh doimhneachd talmhainn aige.

6 Ach air éirigh do'n ghréin dhothadh e, agus do bhrigh nach robh freumh aige, shearg e as.

7 Agus thuit cuid am measg droighinn: agus dh'fhàs an droighionn suas, agus mhùch se e.

8 Ach thuit cuid eile am fearann maith, agus thug e toradh a mach, cuid a cheud uiread, cuid a thri fichead, cuid a dheich thar fhichead uiread *'s a chuireadh*.

9 Ge b'e neach aig am bheil cluasa chum éisdeachd, éisdeadh e.

10 Agus thainig na deisciobuil, agus thubhairt iad ris, C'ar son a ta thu a' labhairt riu ann an cosamhlachdaibh?

11 Fhreagair esan agus thubhairt e riu, Do bhrigh gu'n d'thugadh dhuibhse eòlas a bhi agaibh air rùn dìomhair rioghachd nèimhe, ach dhoibhsan ni 'm bheil so air a thabhairt.

12 Oir ge b'e neach aig am bheil, dhasan bheirear, agus bithidh aige an tuilleadh pailteis: ach ge b'e neach aig nach 'eil, uaithsan bheirear eadhon an ni a ta aige.

13 Uime sin ataims' a' labhairt riu an cosamhlachdaibh, do bhrigh air dhoibh faicinn nach faic iad, agus a' cluinntinn nach cluinn iad, agus nach tuig iad.

14 Agus anntasan a ta fàidheadoireachd Esaias air a coimhlionadh, a ta 'g radh, Le h-éisdeachd cluinnidh sibh, agus cha tuig sibh; agus le h-amharc chi sibh, agus cha 'n aithnich sibh.

15 Oir a ta cridhe a' phobuill so air fàs reamhar, agus an cluasan mall chum éisdeachd, agus dhruid iad an sùilean; air eagal uair air bith gu'm faiceadh iad le'n sùilibh, agus gu'n cluinneadh iad le'n cluasaibh, agus gu'n tuigeadh iad le 'n cridhe, agus gu'm biodh iad air an iompochadh, agus gu'n slànuichinns' iad.

16 Ach is beannuichte bhur sùilese, oir a ta iad a' faicinn; agus bhur cluasa, oir a ta iad a' cluinntinn.

17 Oir a deirim ribh gu firinneach, Gu'm b'iomadh fàidh, agus firean leis am bu mhiann na nithese fhaicinn a ta sibhse a' faicinn, agus nach fac siad *iad*: agus na nithese *chluinntinn* a ta sibhse a' cluinntinn, agus nach cual *iad*.

18 Eisdibh air an aobhar sin ri cosamhlachd an *t-sìoladair*.

19 An uair a chluinneas neach air bith focal na rioghachda, agus nach toir e fa'near e[u], thig an droch *spiorad*, agus bheir e air falbh an ni a chuireadh 'na chridhe: is e so esan anns an do chuireadh an sìol ri taobh an *ròid*.

20 Ach esan a fhuair sìol ann an àitibh creagach[a], is e so an ti a chluinneas am focal, agus a ghabhas e air ball le gairdeachas;

21 Gidheadh cha 'n'eil freumh aige ann fein, ach fanuidh se rè tamuill: agus an uair a thig trioblaid no geurleanmhuinn air son an fhocail, air ball gheibh e oilbheum.

22 Esan mar an ceudna a ghabh sìol am measg an droighinn, is e so an ti a ta cluinntinn an fhocail: agus a ta ro-chùram an t-saoghailse, agus mealltaireachd beartais a' mùchadh an fhocail, agus bithidh e gun toradh.

23 Ach an ti ud a ghabh sìol ann an deadh fhearann, is e sin an neach a ta cluinntinn an fhocail, agus 'ga thoirt fa'near, neach mar an ceudna ta giùlan toraidh, agus a ta tabhairt a mach cuid a cheud uiread, cuid a thri fichead, agus cuid eile a dheich thar fhichead uiread *'s a chuireadh*.

24 Chuir e cosamhlachd eile mach dhoibh, ag radh, Is cosmhuil rioghachd nèimhe ri duine a chuir sìol maith 'na fhearann:

25 Agus an uair a bha daoine 'n an codal, thainig a nàmhaid agus chuir e cogal am measg a' chruineachd, agus dh'imich e roimhe.

26 Ach an uair a thainig an t-arbhar fuidh dhéis, agus a thug e mach

[u] *nach tuig se e.* [a] *clochach.*

a thoradh, dh'fhoillsich an cogal e fein mar an ceudna.

27 Agus air teachd do sheirbhisich fhir-an-tighe thubhairt iad ris, A Thighearna, nach do chuir thusa sìol maith ann a t' fhearann? c'àite ma seadh as an d'fhuair e an cogal?

28 Thubhairt esan riu, Rinn nàmhaid éigin so. Agus thubhairt na seirbhisich ris, An àill leat uime sin gu'n teid sinne agus gu'n cruinnich sinn r'a chéile iad?

29 Ach thubhairt esan, Cha'n àill; air eagal ag cruinneachadh a' chogail duibh, gu spìon sibh an cruineachd maille ris.

30 Leigibh leo fàs araon gus *an dthig* am foghara: agus an àm an fhogharaidh their mise ris an luchd-buanaidh, Cruinnichibh air tùs an cogal, agus ceangluibh e 'na cheanglachanaibh[b] chum a losgaidh: ach cruinnichibh an cruineachd do m' shabhal.

31 Chuir e mach cosamhlachd eile dhoibh, ag radh, A ta rioghachd nèimhe cosmhuil ri gràinne do shìol mustaird, a ghabh neach agus a chuir e 'na fhearann.

32 Ni gun amharus a's lugha do gach uile phòr[c]: gidheadh air fàs da, 's e a's mò do na luibheanaibh, agus fàsuidh e 'na chrann: ionnus gu'n dthig eunlaith an athair, agus gu'n dean iad nid 'na gheugaibh.

33 Cosamhlachd eile labhair e riu: Is cosmhuil rioghachd nèimhe ri taois ghoirt[d], a ghabh bean agus a dh'fholaich i an tri tomhasaibh mine, gus an do ghoirticheadh an t-iomlan.

34 Na nithe sin uile labhair Iosa ris a' phobull an cosamhlachdaibh, agus gun chosamhlachd cha do labhair e riu:

35 A chum gu coimhliontadh an ni a thubhradh leis an fhàidh, ag radh, Fosglaidh mi mo bheul an cosamhlachdaibh, cuiridh mi 'n céill nithe a bh' folaichte o thoiseach an t-saoghail[e].

36 An sin chuir Iosa am pobull air falbh, agus chaidh e steach do'n tigh: agus thainig a dheisciobuil d'a ionnsuidh, ag radh, Mìnich dhuinne cosamhlachd cogail an fhearainn.

37 Agus fhreagair esan agus thubhairt e riu, An ti a chuireas an sìol maith is e Mac an duine e:

38 'S e 'm fearann an domhan: agus is e an sìol maith clann na rioghachd: ach 's e an cogal clann an droch *spioraid*:

39 'S e an nàmhaid a chuir iad an diabhol: 's e am foghara deireadh an t-saoghail: agus is iad na buanaichean na h-aingil.

40 Agus amhuil mar a chruinnichear an cogal, agus a loisgear le teine e, is ann mar sin a bhitheas ann an deireadh an t-saoghail so.

41 Cuiridh Mac an duine 'aingil uaith, agus tionailidh iad as a rioghachd na h-uile nithe a bheir oilbheum, agus iadsan a ta deanamh aingidheachd;

42 Agus tilgidh siad iad anns an àmhuinn air dearg-lasadh: an sin bithidh gul agus giosgan fhiacal.

43 An sin dealruichidh na fireana mar a' ghrian, ann an rioghachd an Athar fein. Ge b'e aig am bheil cluasa chum éisdeachd, éisdeadh e.

44 A rìs, a ta rioghachd nèimhe cosmhuil ri ionmhas air fholach am fearann: ni an déigh fhaotainn, a dh'fholaich duine, agus air sgàth a ghairdeachais air a shon, dh'imich e agus reic e na bha aige uile, agus cheannuich e am fearann sin.

45 A rìs, is cosmhuil rioghachd nèimhe ri ceannuiche àraidh ag iarruidh neamhnuide maiseach:

46 Agus air amas[f] da air aon neamhnuid ro luachmhoir, dh'imich e agus reic e na bha aige, agus cheannuich e i.

47 A rìs, a ta rioghachd neimhe cosmhuil ri lìon air a thilgeadh san fhairge, agus a chruinnich do gach uile sheòrta *éisg*:

48 Agus air dha bhi làn, tharruing *na h-iasgairean* e chum na tràighe, agus air suidhe dhoibh, chruinnich iad na *h-éisg* mhaithe ann an soithichibh, ach thilg iad na droch *éisg* amach.

49 Is ann mar sin a bhitheas ann

[b] *thrusaichibh.* [c] *ros.* [d] *laibhin.* [e] *o leagadh bunaite an domhain.* [f] *airmseachd.*

an deireadh an t-saoghail: theid na h-aingil a mach, agus dealuichidh iad na droch dhaoine a measg nam fìreanach;

50 Agus tilgidh siad iad san àmhuinn theintich: an sin bithidh gul agus giosgan fhiacal.

51 Thubhairt Iosa riu, An do thuig sibh na nithe so uile? thubhairt iad ris, Thuig, a Thighearna.

52 Agus thubhairt esan riu, Air an aobhar sin gach uile scrìobhuiche a ta fòghlumta chum rioghachd nèimhe, is cosmhuil e ri feartighe, a bheir a mach as 'ionmhas nithe nuadh agus sean.

53 Agus thachair an uair a chrìochnuich Iosa na cosamhlachda so, gu'n d'imich e as sin.

54 Agus an uair a thainig e d'a dhùthaich fein, theagaisg e iad 'nan sionagog, ionnus gu'n do ghabh iad iongantas, agus gu'n dubhairt iad, C'àit an d'fhuair am fear so an gliocas so, agus na feartan ud?

55 Nach e so mac an t-saoir? nach e ainm a mhàthar Muire? nach iad a bhràithre, Seumas, agus Ioses, agus Simon, agus Iudas?

56 Agus a pheathraiche, nach 'eil iad uile maille ruinn? c'àit uime sin an d'fhuair an duine so na nithe ud uile?

57 Agus fhuair iad oilbheum ann. Ach thubhairt Iosa riu, Cha'n 'eil fàidh gun urram, ach 'na dhùthaich fein, agus 'na thigh fein.

58 Agus cha d'rinn e mòran do oibribh cumhachdach an sin, air son am mi-chreidimh.

CAIB. XIV.

1 *Barail Heroid mu thimchioll Chriosd,* 3 *C'ar son a chaidh an ceann a bhuntainn a dh'Eoin Baiste.* 13 *Chaidh Iosa gu ionad fàsail,* 15 *far an do bheathuich e cùig mìle fear le cùig aranaibh, agus dà iasg, &c.*

FA'N àm sin chual Herod an Tetrach cliu Iosa,

2 Agus thubhairt e r'a sheirbhisich, Is e so Eoin Baiste, dh'éirich e o na marbhaibh, is uime sin a ta feartan air an oibreachadh leis.

3 Oir air glacadh Eoin do Herod, cheangail se e, agus thilg e am priosun e air son Herodiais, mnà Philip a bhràthar fein.

4 Oir thubhairt Eoin ris, Cha 'n-'eil e dligheach dhuit a bi agad.

5 Agus an uair bu mhiann leis a chur gu bàs, bha eagal a' phobuill air, oir bha meas fàidh aca air.

6 Ach an uair a bha comhainm la-breithe Heroid air a chumail, rinn nighean Herodiais dannsa nan làthair, agus thaitinn i ri Herod:

7 Ionnus gu'n do gheall e le mionnaibh, gu [illegible] e dhi ge b'e air bith ni a dh'iarradh i.

8 Agus air dhi bhi air a teagasg leis a màthair roimh làimh, thubhairt i, Tabhair dhomh an so [illegible] Eoin Baiste air mèis.

9 Agus bha 'n righ doilich: ach air son a mhionnan, agus na muinntir a bha 'nan suidhe aig biadh maille ris, dh'àithn e a thabhairt dhi.

10 Agus air cur *fir-marbhaidh* uaith, bhuin e a cheann a dh'Eoin anns a' phriosun.

11 Agus thogadh a cheann air mèis, agus thugadh do'n chailin e: agus thug ise d'a màthair *e*.

12 Agus thainig a dheisciobuil, agus thug iad an corp leo, agus dh'adhlaic iad e, agus thainig iad agus dh'innis iad *sin* do Iosa.

13 An uair a chual Iosa *so*, chaidh e as sin air luing gu ionad fàsail air leth: agus an uair a chual am pobull *sin*, lean iad an cois e as na bailtibh.

14 Agus air dol a mach do Iosa, chunnaic e coimhthional mòr, agus ghabh e truas mòr dhiubh, agus shlànuich e an droing aca bha euslan.

15 Agus an uair a b'fheasgar e, thainig a dheisciobuil d'a ionnsuidh, ag radh, Is àite fasail so, agus a ta an t-àm a nis air dol seachad; cuir an sluagh air falbh, chum as gu'n teid iad do na bailtibh, agus gu'n ceannuich iad biadh dhoibh fein.

16 Ach thubhairt Iosa riu, Cha ruig iad a leas falbh; thugaibhse dhoibh r'a itheadh.

17 Agus thubhairt iad ris, Cha 'n'eil againn an so ach cùig arain[g], agus dà iasg.

[g] *builionna.*

18 Thubhairt esan *riu*, Thugaibh
an so iad do m' ionnsuidhs'.
19 Agus dh'àithn e do'n t-sluagh
suidhe sìos air an fheur, agus ghlac
e na cùig arain, agus an dà iasg, a-
gus air amharc dha suas gu nèamh,
bheannuich agus bhris e, agus thug
e na h-arain d'a dheisciobluibh, a-
gus *thug* na deisciobuil do'n t-sluagh
iad.
20 Agus dh'ith iad uile, agus shàs-
uicheadh iad: agus thog iad làn dà
chliabh dheug do'n bhiadh bhriste, *a*
bha dh'fhuighleach *acu*.
21 Agus bha iadsan a dh'ith mu
thimchioll cùig mìle fear, thuilleadh
air mnaibh agus air cloinn.
22 Agus air ball choimhéignich
Iosa a dheisciobuil gu dol an luing,
agus dol roimhe do'n taobh eile, gus
an cuireadh esan an sluagh air falbh.
23 Agus an uair a leig e an sluagh
uaith, chaidh e suas air beinn 'na ao-
nar a dheanamh ùrnuigh: agus an
uair a bha am feasgar air teachd, bha
e an sin 'na aonar.
24 Ach bha an long fa 'n àm sin
am meadhon na fairge, air a tilgeadh
a null agus a nall leis na tonnaibh:
oir bha a' ghaoth 'nan aghaidh.
25 Agus anns a' cheathramh faire
do'n oidhche, chaidh Iosa d'an ionn-
suidh, ag imeachd air an fhairge.
26 Agus an uair a chunnaic na
deisciobuil e 'g imeachd air an fhairge,
bha iad fa bhuaireas, ag radh, Is
spiorad a ta ann: agus ghlaodh h iad
a mach le h-eagal.
27 Ach labhair Iosa riu air ball,
ag radh, Biodh misneach mhaith ag-
aibh, is mise a ta ann, na biodh eagal
oirbh.
28 Agus fhreagair Peadar e agus
thubhairt e, A Thighearna, ma's tu a
ta ann, iarr ormsa teachd a d'ionn-
suidh air na h-uisgeachaibh.
29 Agus thubhairt esan, Thig.
Agus an uair a bha Peadar air teachd
a nuas as an luing, dh'imich e air na
h-uisgeachaibh, chum teachd gu h-Io-
sa.
30 Ach an uair a chunnaic e a'
ghaoth làidir, ghabh e eagal: agus
an uair a thòisich e air dol fuidh,
ghlaodh e, ag radh, A Thighearna,
fòir orm.
31 Agus air ball shìn Iosa mach a
làmh, agus rug e air, agus thubhairt
e ris, O thusa air bheag creidimh,
c'ar son a bha thu fuidh amharus?
32 Agus an uair a chaidh iad a
steach do'n luing, chaisg a' ghaoth.
33 An sin thainig iadsan a bha san
luing, agus rinn iad aoradh dha, ag
radh, Gu firinneach is tu Mac Dhé.
34 Agus an uair a chaidh iad do'n
taobh eile, thainig iad gu talamh
Ghenesaret.
35 Agus an uair a fhuair luchd
an àite sin fiosrachadh uime, chuir
iad fios air feadh na tìre sin uile air
gach taobh dhiubh, agus thug iad d'a
ionnsuidh an droing sin uile a bha
euslan.
36 Agus ghuidh iad air, gu feud-
adh iad beantuinn ri h-iomall 'eu-
daich a mhàin: agus a mhèud dhiubh
's a bhean, shlànuicheadh gu h-iom-
lan iad.

CAIB. XV.

3 A ta Criosd a' cronuchadh nan scrìobhuiche agus nam Phairiseach air son àitheanta Dhé a bhriseadh le 'n gnàthuchadhsan; 11 a' teagasg nach e an nì a theid a steach do'n bheul a thruailleas an duine, &c.

AN sin thainig scrìobhuichean a-
gus Phairisich o Hierusalem
gu h-Iosa, ag radh,
2 C'ar son a ta do dheisciobuil a'
dol an aghaidh gnàthuchaidh nan
sinnsear? oir cha'n ionnlaid iad an
lamhan an uair a dh'itheas iad aran.
3 Ach fhreagair esan agus thubh-
airt e riu, C'ar son a ta sibhse a' bris-
eadh àithne Dhé le bhur gnàthu-
chadh fein?
4 Oir thug Dia àithne, ag radh,
Tabhair onoir do t'athair agus do d'
mhàthair: agus ge b'e mhallaicheas i
'athair no mhàthair, cuirear gu bàs e.
5 Ach their sibhse, Ge b'e neach a
their r'a athair no r'a mhàthair, Biodh
e 'na thiodhlacadh *do'n teampull* gach
ni leis am feudadh tu buannachd
fhaotainn uamsa,

h *dh'èigh*. i *chàineas*.

6 Nach feum e 'athair no mhàthair onoruchadh. Mar sin chuir sibhse an neo-brigh àithne Dhé le bhur gnàthuchadh fein.

7 A chealgairean, is maith a rinn Esaias[l] fàidheadaireachd mu'r timchioll, ag radh,

8 A ta am pobull so a' dlùthachaon riumsa le'm beul, agus a' tabhairt onoir dhomh le'm bilibh: ach a ta an cridhe fada uam.

9 Ach is ann an dìomhanas a ta iad a' deanamh *aoraidh* dhomhsa, a' teagasg àitheanta dhaoine mar theagasg.

10 Agus air gairm an t-slòigh dha, thubhairt e riu, Eisdibh agus tuigibh.

11 Cha'n e an ni a theid a steach sa' bheul a shaluicheas an duine: ach an ni a thig a mach as a' bheul, is e so a shaluicheas an *duine*.

12 An sin *thainig a dheisciobuil*, *agus thubhairt iad ris*, *Am bheil fhios agad gu'n do ghabh na Phairisich oilbheum*, an déigh dhoibh na briathran ud a chluinntinn?

13 Ach fhreagair esan agus a thubhairt e, Gach uile luibh nach do shuidhich m'Athair nèamhaidhse, spìonar a bhun e.

14 Leigibh leo: is cinn-iuil dhall nan dall iad. Agus ma threòruicheas dall dall *eile*, tuitidh iad araon anns a' chlàis.

15 Agus fhreagair Peadar agus thubhairt e ris, Mìnich dhuinn an cosamhlachd sin.

16 Agus thubhairt Iosa, Am bheil sibhse fathast mar an ceudna gun tuigse?

17 Nach 'eil sibh a' tuigsinn fathast, ge b'e ni a theid a steach sa' bheul, gu'n dtheid e sa' bhroinn, agus gu'n tilgear a mach do'n t-slochd shalchair e?

18 Ach na nithe sin a thig a mach as a' bheul, a ta iad a' teachd o'n chridhe, agus is iad sin a shaluicheas an duine.

19 Oir is ann as a' chridhe thig droch smuainte, mortadh, adhaltrannas, striopachas, gaduigheachd, fianuis bhréige, toibheum.

20 Is iad so na nithe a shaluicheas an duine: ach itheadh le lamhaibh gun ionnlad, cha saluich sin an duine.

21 Agus air dol do Iosa as sin, chaidh e gu crìochuibh Thiruis agus Shidoin.

22 Agus feuch, thainig bean do *mhuinntir* Chanaain o na crìochuibh sin, agus ghlaodh i ris, ag radh, Dean tròcair orm, a Thighearn, a Mhic Dhaibhi; a ta mo nighean air a buaireadh gu truagh le deamhan.

23 Ach cha d'thug esan freagradh sam bith dhi. Agus thainig a dheisciobuil d'a ionnsuidh, agus dh'iarr iad air, ag radh, Cuir air falbh i, oir tha i glaodhaich 'n ar deigh.

24 Ach fhreagair esan agus thubhairt e, Cha do chuireadh mi ach chum chaorach chaillte thigh Israeil.

25 *An sin thainig ise agus rinn i aoradh dha, ag radh*, A Thighearna, cuidich leam[m].

26 Ach fhreagair esan agus thubhairt e, Cha *chòir aran na cloinne* a ghlacadh, agus a thilgeadh chum nan con.

27 Agus thubhairt ise, Is fior, a Thighearna: ach ithidh na coin do'n sbruileach a thuiteas o bhord am maighstirean.

28 An sin fhreagair Iosa agus thubhairt e rithe, O bhean, is mòr do chreidimh: biodh dhuit mar is toil leat. Agus rinneadh a h-inghean slàn o'n uair sin a mach.

29 Agus air imeachd do Iosa as sin thainig e làimh ri fairge Ghalile, agus an uair a chaidh e suas air beinn, shuidh e sios an sin.

30 Agus thainig mòr shluagh d'a ionnsuidh, agus aca maille riu bacaich, doill, balbhain, *daoine* ciurramach, agus mòran eile, agus thilg iad sìos aig cosaibh Iosa iad, agus shlànuich e iad:

31 Ionnus gu'n do ghabh an sluagh iongantas 'nuair a chunnaic iad na balbhain a' labhairt, na *daoine* ciurramach slàn, na bacaich ag imeachd, agus na doill a' faicinn: agus thug iad glòir do Dhia Israeil.

32 An sin ghairm Iosa a dheisciobuil d'a ionnsuidh, agus thubhairt

l *Isaiah.* m *foir orm.*

e, A taim a' gabhail truais do 'n
t-sluagh, oir dh'fhan iad maille rium
a nis rè thri laithean, agus cha 'n'eil
ni air bith aca r'a itheadh : agus cha
chuir mi uam 'nan trosg iad, air ea-
gal gu fannuich iad air an t-slighe.
33 Agus thubhairt a dheisciobuil
ris, Cia as a gheibheamaid na h-uiread
a dh'aran san fhàsach, as bu leoir a
shàsachadh slòigh co mhòr ?
34 Agus thubhairt Iosa riu, Cia
lion aran a ta agaibh ? agus thubhairt
iadsan, Seachd, agus beagan a dh'iasg-
aibh beaga.
35 Agus dh'àithn e do'n t-sluagh
suidhe sios air an làr.
36 Agus air glacadh nan seachd
aran agus an iasg dha, agus air breith
buidheachais, bhris e *iad*, agus thug e
d'a dheisciobluibh, agus *thug* na deis-
ciobuil do'n t-sluagh *iad*.
37 Agus dh'ith iad uile, agus shàs-
uicheadh iad : agus thog iad do'n
bhiadh bhriste a dh'fhàgadh làn
sheachd bascaid.
38 Agus bha a' mhuinntir a dh'ith,
ceithir mìle fear, thuilleadh air mnaibh
agus *air* cloinn.
39 Agus air dha an sluagh a leig-
eadh uaith, chaidh e air luing, agus
thainig e gu crìochaibh Mhagdala.

C A I B. XVI.

1 *A ta na Phairisich ag iarraidh
comharaidh.* 6 *A ta Iosa a' tabh-
airt rabhaidh d'a dheisciobluibh mu
thimchioll droch theagaisg nam
Phairiseach agus nan Sadusach.* 13
*Barail an t-sluaigh mu thimchioll
Chriosd, &c.*

AGUS air teachd do na Phairisich
agus do na Sadusaich 'g a
dhearbhadh [n], dh'iarr iad air comhar
a nochdadh dhoibh o nèamh.
2 Ach fhreagair esan agus thubh-
airt e riu, An uair is feasgar e, their
sibh, *Bithidh* deadh aimsir *ann* ; oir
a ta an t-athar dearg.
3 Agus air maduinn, *Bithidh* droch
aimsir ann an diugh ; oir a ta an
t-athar dearg agus dorcha. Is aithne
dhuibh breth a thoirt air gnùis an
athair, agus nach 'eil e'n comas dhuibh
comharan nan aimsir *a thuigsinn ?*
4 A ta ginealach aingidh agus
adhaltrannach ag iarraidh comhar-
aidh, agus cha toirear comhara dhoibh,
ach comhar an fhàidh Ionais. Agus
air dha am fàgail, dh'imich e *as sin.*
5 Agus an uair a thainig a dheis-
ciobuil a dh'ionnsuidh na taoibh eile,
dhichuimhnich iad aran a thabhairt
leo.
6 Agus thubhairt Iosa riu, Thug-
aibh an aire, agus gleidhibh sibh
fein o thaois ghoirt nam Phairiseach,
agus nan Sadusach.
7 Agus bha iad a' reusonachadh
eatorra fein, ag radh, *Is ann* air son
nach d'thug sinn aran *leinn.*
8 Agus air tuigsinn *sin* do Iosa,
thubhairt e riu, O sibhse air bheag
creidimh, c'ar son a ta sibh a' reuson-
achadh eadruibh fein, *gur ann* a
chionn nach d'thug sibh aran *leibh ?*
9 Nach 'eil sibh fathast a' tuigsinn,
no cuimhneachadh nan cùig aran nan
cùig mìle, agus cia lìon cliabh a thog
sibh ?
10 No nan seachd aran nan ceithir
mìle, agus cia lìon bascaid a thog
sibh ?
11 Cionnus nach 'eil sibh a' tuig-
sinn, nach ann mu aran a thubhairt
mi ribh, sibh a bhi air bhur faicill o
thaois ghoirt nam Phairiseach, agus
nan Sadusach ?
12 An sin thuig iad cionnus nach
d'iarr e *orra* bhi air am faicill o thaois
ghoirt an arain, ach o theagasg nam
Phairiseach, agus nan Sadusach.
13 Agus air teachd do Iosa gu
crìochaibh Chesarea Philipi, dh'fheòr-
aich e d'a dheisciobluibh, ag radh, Cò
a tha daoine ag radh is e Mac an
duine ?
14 Agus thubhairt iadsan, *Tha
cuid ag radh* Eoin Baiste, cuid Elias,
agus cuid eile Ieremias, no aon do na
fàidhibh.
15 Thubhairt esan riu, Ach cò
tha sibhse ag radh is mi ?
16 Agus fhreagair Simon Peadar
agus thubhairt e, Is tusa Criosd, Mac
an Dé bheo.
17 Agus fhreagair Iosa agus thubh-
airt e ris, Is beannuicht' thusa, a Shi-
moin Bhar-Iona ; oir cha d'fhoillsich

[n] *'ga fheuchainn, 'ga bhuaireadh.*

fuil is feoil sin duitse, ach m' Athairs'
a *ta* air nèamh.
18 Agus a deirimse riut, Gur tusa
Peadar, agus air a' charraig[o] so tog-
aidh mise m'eaglais: agus cha tabh-
air geatan ifrinn buaidh oirre.
19 Agus bheir mi dhuit iuchraiche
rioghachd nèimhe: agus ge b'e ni a
cheanglas tusa air talamh, bithidh e
ceangailte air nèamh; agus ge b'e ni
a dh'fhuasglas tusa air talamh, bithidh
e fuasgailte air nèamh.
20 An sin dh'àithn e d'a dheis-
ciobluibh gun iad a dh'innseadh do
neach air bith, gu'm b'esan Iosa an
Criosd.
21 O'n àm sin a mach thòisich Io-
sa air nochdadh d'a dheisciobluibh,
gu'm b' éigin dasan dol suas gu Hie-
rusalem, agus mòran do nithibh fhu-
lang o na seanairibh, *agus na h-ard
shagartaibh, agus na scrìobhuichibh,
agus a bhi air a chur gu bàs, agus a
bhi air* a thogail suas air an treas là.
22 Agus ghabh Peadar e, agus
thòisich e air achmhasan a thabhairt
dha, ag radh, Gu ma fada sin uaitse,
a Thighearna; cha tachair sin duitse.
23 Ach air tionndadh dhasan,
thubhairt e ri Peadar, Imich air mo
chùl, a Shatain, is oilbheum dhomh
thu: oir cha'n'eil spéis agad do ni-
thibh Dhé, ach do nithibh dhaoine.
24 An sin thubhairt Iosa r'a dheis-
ciobluibh, Ma's àill le neach air bith
teachd a'm' dhéighse, àicheadhadh se e
fein, agus togadh e air a chrann-ceu-
saidh, agus leanadh e mise.
25 Oir ge b'e neach le'm b'àill
'anam a ghleidheadh, caillidh se e;
agus ge b'e neach a chailleas 'anam
air mo sgàthsa, gheibh se e.
26 Oir ciod an tairbhe a ta ann do
dhuine, ge do chosnadh e an saoghal
uile, agus 'anam fein a chall? no
ciod i a' mhalairt[p] a bheir duine air
son 'anama?
27 Oir thig Mac an duine ann an
glòir 'Athar, maille r'a ainglibh; agus
an sin bheir e do gach neach a réir a
ghnìomhara.
28 Gu deimhin a deirim ribh, Gu
bheil cuid do'n droing a ta 'nan sea-
samh an so, nach blais bàs, gus am
faic iad Mac an duine a' teachd [illegible]
rioghachd fein.

CAIB. XVII.

1 *Atharrachadh agus dealrachadh cr[illegible]
tha Io[illegible]. 14 [illegible]
an lei[illegible]
22 a[illegible]
laimh[illegible] 24 [illegible]*

AGUS an d[illegible]
ghabh Iosa Peadar, [illegible]
agus Eoin a bhrathair, agus thread-
uich e iad air leth [illegible]
2 Agus dh'atharr[illegible]
'nan [illegible]
mar a' ghrian, ag[illegible]
geal mar an solus.
3 Agus feuch, chunnaic[r] [illegible] Maois
agus Elias a' comhradh ris.
4 An sin fhreagair Peadar, agus
thubhairt e ri I-Iosa, A Thighearn,
is maith dhuinne bhi 'n so: ma's àill
leatsa, deanamaid tri bothain[s] an so;
aon duitse, aon do Mhaois, agus aon
do Elias.
5 Air dha bhi fathast a' labhairt,
feuch, thilg neul soillseach sgàile or-
ra: agus feuch, guth as an neul, ag
radh, Is e so mo Mhac gràdhachsa,
anns am bheil mo mhòr thlachd, éisd-
ibh ris.
6 Agus an uair a chuala na deis-
ciobuil so, thuit iad air an aghaidh,
agus ghabh iad eagal ro-mhor.
7 Agus thainig Iosa agus bhean e
riu, agus thubhairt e, Eiribh, agus na
biodh eagal oirbh.
8 Agus [illegible] thog iad suas an
sùilean, cha 'n fhac iad neach air
bith, ach Iosa 'na aonar.
9 Agus an àm dhoibh teachd a
nuas o'n bheinn, thug Iosa àithne
dhoibh, ag radh, Na-innsibh do neach
air bith an ni a chunnaic sibh, gus an
éirich Mac an duine o na marbhaibh.
10 Agus dh'fheòraich a dheiscio-
buil dheth, ag radh, C'ar son ma
seadh a their na scrìobhuichean, gur
éigin Elias a theachd air tùs?
11 Agus fhreagair Iosa agus thubh-
airt e riu, Thig Elias gu firinneach
air tùs, agus aisigidh e na h-uile
nithe:
12 Ach a deirimse ribh, Gu'n

[o] *petra, Gr.* [p] *iomlait.* [r] *dh'fhoillsicheadh doibh.* [s] *pàilliuna.*

thainig Elias a cheana, agus cha d'aithnich iad e, ach rinn iad gach ni bu toil leo ris: is ann mar sin mar an ceudna a dh'fhulaingeas Mac an duine uatha.

13 An sin thuig na deisciobuil gu'm b'ann mu Eoin Baiste a labhair e riu.

14 Agus an uair a thainig iad chum an t-sluaigh, thainig duine *àraidh* d'a ionnsuidh, a' tuiteam air a ghlùinibh dha, agus ag radh,

15 A Thighearna, dean tròcair air mo mhac, oir a ta e gu tinn leis an tuiteamach [t], agus is mòr an cràdh a ta e a' fulang: oir a ta e gu minic a' tuiteam san teine, agus gu tric san uisge.

16 Agus thug mi e dh'ionnsuidh do dheisciobul, agus cha b'urrainn iad a leigheas.

17 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e, A ghinealaich neo-chreidich, agus choirbte, cia fhad a bhitheas mi maille ribh? cia fhad a dh'fhulaingeas mi sibh? thugaibh am' ionnsuidhs' an so e.

18 Agus chronuich Iosa an deamhan, agus dh'imich e as: agus shlànuicheadh an leanabh o'n uair sin a mach.

19 An sin an uair a thainig na deisciobuil chum Iosa fa leth, thubhairt iad, C'ar son nach b'urradh sinne a thilgeadh a mach?

20 Agus thubhairt Iosa riu, Air son bhur mi-chreidimh: oir gu firinneach a deirim ribh, Nam bioch aguibh creidimh mar ghràinne mustaird, theireadh sibh ris a' bheinn so, Atharruich as so an sud, agus dh'atharruicheadh i; agus cha bhiodh ni air bith eucomasach dhuibh.

21 Gidheadh, cha dtheid a' ghnè so mach, ach le h-ùrnuigh agus le trosgadh.

22 Agus am feadh a bha iad a' fantuinn ann an Galile, thubhairt Iosa riu, Bithidh Mac an duine air a bhrath thairis do lamhaibh dhaoine:

23 Agus marbhaidh siad e, ach an treas là éiridh e: Agus bha iadsan ro bhrònach.

24 Agus air teachd dhoibh do Chapernaum, thainig luchd togail na cìse gu Peadar, agus thubhairt iad *ris*, Nach 'eil bhur maighstirse 'g ìocadh na cìse?

25 Thubhairt esan, A ta. Agus an uair a chaidh e steach do'n tigh, labhair Iosa ris air tùs, ag radh, Ciod i do bharails', a Shimoin? cia uaith a ta righre na talmhainn a' togail càine no cìse [u]? 'N ann o'n cloinn fein, no o choigreachaibh?

26 Thubhairt Peadar ris, O choigreachaibh. Thubhairt Iosa ris-san, Air an aobhar sin a ta a' chlann saor.

27 Gidheadh chum nach tugamaid oilbheum dhoibh, imichsa chum na fairge, agus tilg dubhan *innte*, agus tog an ceud iasg a thig a nìos: agus air fosgladh a bheoil duit, gheibh thu bonn airgid; sin gabh, agus tabhair dhoibh air mo shonsa, agus air do shon fein.

CAIB. XVIII.

1 *A ta Criosd o' toirt àithne d'a dheisciobluibh bhi ùmhal agus neo-chronail,* 7 *oilbheum a sheachnadh, agus gun iad a dheanamh tàir air cloinn bhig, &c.*

ANNS an àm sin fein thainig na deisciobuil chum Iosa, ag radh, Cò a's mò ann an rioghachd nèimhe?

2 Agus air do Iosa leanabh beag a ghairm chuige, chuir e 'nam meadhon e,

3 Agus thubhairt e, Gu firinneach a deirim ribh, Mur iompoichear sibh, agus mur bi sibh mar leanabana, nach dtheid sibh a steach do rioghachd nèimhe.

4 Air an aobhar sin ge b'e dh'islicheas e fein mar an leanaban so, 'se sin fein a's mò ann an rioghachd nèimhe.

5 Agus ge b'e ghabhas aon leanaban d'a leithid so ann am ainmse, gabhuidh e mise.

6 Ach ge b'e neach a bheir oilbheum dh'aon neach do'n mhuinntir bhig so a ta creidsinn annamsa, b'fhearr dha gu'm biodh cloch-mhuilinn air a crochadh r'a mhuineal, agus gu'm biodh e air a bhàthadh ann an doimhne na fairge.

[t] *tuiteamas, guin na ré, tinneas na gealaich.* [u] *gearraidh no duilinne.*

7 Is anaoibhinn do'n t-saoghal air
son oilbheuman: *oir is eigin* do oil-
bheumaibh teachd; ach is anaoibhinn
do'n duine *sin* trid an dthig an t-oil-
bheum.

8 Uime sin ma bheir do lamh no
do chos aobhar oilbheim[a] dhuit, gearr
dhiot iad, agus tilg uait *iad*: is fearr
dhuit dol a steach do'n bheatha air
leth chois *no* air leth laimh, na dà
laimh no dà chois a bhi *agad*, is tu
bhi air do thilgeadh anns an teine
shiorruidh.

9 Agus ma bheir do shùil aobhar
oilbheim dhuit, spìon asad i, agus tilg
uait *i*: is fearr dhuit dol a steach
chum na beatha air leth shùil, na dà
shùil a bhi agad agus thu bhi air do
thilgeadh ann an teine ifrinn.

10 Thugaibh an aire nach dean
*sibh tarcuis air aon neach do'n
mhuinntir bhig so; oir a deirimse
ribh, gu bheil an aingilsan air nèamh*
a' faicinn a ghnàth gnùis m'Atharsa,
a *ta* air nèamh.

11 Oir thainig Mac an duine a
shaoradh an ní sin a bha caillte.

12 Ciod is barail dhuibhse? ma
bhitheas aig duine ceud caora, agus
gu'n dtheid aon diubh air seacharan,
nach fàg e na naoi caoraich dheug a-
gus ceithir fichead air na beanntaibh,
agus nach dtheid e dh'iarruidh *na
caorach* a chaidh air seacharan?

13 Agus ma tharlas da gu'm faigh
e i, gu deimhin a deirim ribh, Gu'n
dean e tuilleadh gairdeachais air son
na caorach sin, na air son nan naoi
caorach dheug agus ceithir fichead,
nach deachaidh air seacharan.

14 Mar so cha'n e toil bhur
n-Athars' a ta air nèamh, gu'n rach-
adh aon neach do'n mhuinntir bhig
so a chall.

15 Uime sin ma pheacuicheas do
bhràthair a'd' aghaidh, imich agus
innis a lochd dha[b] eadar thu fein a-
gus esan a mhàin: ma dh'éisdeas e
riut, choisinn thu do bhràthair.

16 Ach mur éisd e *riut*, tabhair
leat aon no dithis eile, chum gu'm bi
gach ni air a dheanamh[c] seasmhach
am beul dithis no triuir a dh'fhian-
uisibh.

17 Agus ma dhiultas eiadsan éis-
eachd, innis do'n eaglais e: ach ma
dhiultas e 'n eaglais éisdeachd, biodh
e dhuit mar Gheintileach, agus *mar*
chìs-mhaor.

18 Gu deimhin a deirim ribh, Ge
b'e air bith nithe a cheanglas sibhse
air talamh, bithidh iad ceangailte air
nèamh: agus ge b'e air bith nithe a
dh'fhuasglas sibhse air talamh bithidh
iad fuasgailte air nèamh.

19 A ris a deirim ribh, Ma chord-
eas dithis agaibh air thalamh mu thim-
chioll aon ni a dh'iarras iad, nithear
so dhoibh le m'Athairs' a ta air
nèamh.

20 Oir ge b'e ait am bheil dithis
no triuir air an cruinneachadh an
ceann a chéile a'm' ainmse, ata mise
an *sin* 'nam meadhon.

21 Air [illegible] do Pheadar d'a ionn-
suidh san am sin, thubhairt e, A
Thighearna, cia minic a pheacuicheas
mo bhràthair a'm' aghaidh, agus a
mhaitheas mi dha? *An ann* gu ruig
an seachdamh uair?

22 Thubhairt Iosa ris, Ni abram
riut, gus an seachdamh uair, ach gu
deich agus tri fichead seachd uaire.

23 Air an aobhar sin is cosmhuil
rioghachd nèimhe ri righ àraidh le'm
b'àill cunntas a dheanamh r'a sheir-
bhisich.

24 Agus an uair a thòisich e air
cunntas a dheanamh, thugadh aon d'a
ionnsuidh aig an robh aige deich mìle
talann.

25 Ach do bhrigh nach robh aige
ni leis an dìoladh e, dh'àithn a thigh-
earn e fein, agus a bhean, agus a
chlann, agus na h-uile nithe a bha
aige a reiceadh, agus dìoladh a dhean-
amh.

26 Air an aobhar sin thuit an
seirbhiseach sin sìos, agus rinn e umh-
lachd dha, ag radh, A Thighearn,
dean foighidin rium, agus ìocaidh mi
dhuit an t-iomlan.

27 An sin air do thighearn an òg-
laich sin truas mòr a ghabhail dheth,
leig e a chead da, agus mhaith e na
fiacha dha.

28 Ach an uair a chaidh an seir-
bhiseach sin fein a mach, fhuair e

[a] *tuislidh.* [b] *spreig, tagair ris.* [c] *a' chùis uile air a deanamh.*

aon d'a choimh-sheirbhisich air an
robh aige ceud peghinn: agus chuir
e lamh ann, agus rug e air sgornan
air, ag radh, Ioc dhomh na bheil ag-
am ort.
29 Agus thuit a choimh-sheirbhis-
each sìos aig a chosaibh, agus ghuidh
e air, ag radh, Dean foighidin rium,
agus ìocaidh mi dhuit an t-iomlan.
30 Agus cha b'àill leis-san *sin*:
ach dh'[illegible]h e agus thilg e am prio-
sun e, gus an ìocadh e na fiacha.
31 Agus an uair a chunnaic a
choimh-sheirbhisich na nithe a rinn-
eadh, bha iad ro dhuilich, agus thain-
ig iad, agus dh'fhoillsich iad d'an
tighearn gach [illegible] a rinneadh.
32 An sin air d'a thighearn a ghairm,
thubhairt e ris, A dhroch sheirbhisich,
mhaith mi dhuit na fiachan ud uile, do
bhrigh gu'n do chuir thu impidh orm.
33 Nach bu chòir dhuitse mar an
ceudna tròcair a dheanamh air do
choimh-sheirbhiseach fein, amhuil mar
a rinn mise tròcair ortsa?
34 Agus air gabhail feirge d'a
thighearn, thug e do na ceusadairibh
e, gus an ìocadh e fhiachan uile dha.
35 Agus mar sin ni m' Athair
nèamhuidh ribhse, mur maith gach
aon agaibh o bhur cridhibh d'a bhrà-
thair an cionta.

CAIB. XIX.

*2 A ta Criosd a' slànuchadh na muinn-
tir a bha tinn, 3 a' freagairt nam
Phairiseach mu thimchioll dealach-
aidh, 10 a' nochdadh c'uin a ta
am pòsadh feumail, 13 a' gabhail
ri cloinn bhig, &c.*

AGUS tharladh[d], an uair a chrìoch-
nuich Iosa na briathrasa, gu'n
d'imich e o Ghalile, agus thainig e
gu crìochaibh Iudea, air an taobh
thall do Iordan:
2 Agus lean sluagh mòr e, agus
shlànuich e iad an sin.
3 Thainig na Phairisich mar an
ceudna d'a ionnsuidh 'ga dhearbh-
adh[c], agus ag radh ris, Am bheil e
ceaduichte do dhuine a bhean a chur
uaith air gach uile aobhar?
4 Agus fhreagair esan agus thubh-
airt e riu, Nach do leugh sibh, An ti
a rinn air tùs *iad*, gu'n d'rinn e iad
fear agus bean?
5 Agus thubhairt e, Air an aobhar
so fàgaidh duine 'athair agus a mhàth-
air, agus dlùth-leanuidh e r'a mhnaoi:
agus bithidh iad araon 'nan aon fheoil.
6 Air an aobhar sin cha dithis iad
ni's mò, ach aon fheoil. Uime sin an
ni a cheangail Dia, na sgaoileadh duine.
7 Thubhairt iad ris, C'ar son ma
seadh a dh'àithn Maois litir-dhealaich
a thabhairt *dh'i*, agus a cur air falbh?
8 Thubhairt esan riu, Dh'fhulaing
Maois dhuibhse air son cruais bhur
cridhe, bhur mnài a chur uaibh: ach
cha robh e mar sin o thùs.
9 Agus a deirimse ribh, Ge b'e
chuireas uaith a bhean, ach air son
strìopachais, agus a phòsas bean eile,
a ta e a' deanamh adhaltrannais: a-
gus ge b'e neach a phòsas ise a chuir-
eadh air falbh, a ta e a' deanamh adh-
altrannais.
10 Thubhairt a dheisciobuil ris,
Ma's e sin cor an fhir r'*a* mhnaoi,
cha 'n'eil am pòsadh maith r'a dhean-
amh.
11 Ach thubhairt esan riu, Cha
'n'eil na h-uile dhaoine comasach air
a' chainnt so a ghabhail, ach *iadsan*
d'an d'thugadh e.
12 Oir a ta cuid 'nan caillteanaich,
a rugadh mar sin o bhroinn *am* màth-
ar: agus a ta cuid do chaillteanaich
ann, a rinneadh 'nan caillteanaich le
daoinibh: agus a ta caillteanaich ann,
a rinn iad fein 'nan caillteanaich air
son rioghachd nèimhe. Ge b'e neach
a ta comasach air a ghabhail chuige,
gabhadh se *e*.
13 An sin thugadh clann bheag
d'a ionnsuidh, chum gu cuireadh e a
lamhan orra, agus gu'n deanadh e
ùrnuigh: agus chronuich na deiscio-
buil iad.
14 Ach thubhairt Iosa, Fulaingibh
do na leanabaibh, agus na bacaibh
dhoibh teachd a m' ionnsuidh: oir is
ann d'an leithidibh sin a ta rioghachd
nèimhe.
15 Agus an déigh dha a lamhan a
chur orra, dh'imich e as sin.
16 Agus feuch, thainig neach agus
thubhairt e ris, A mhaighstir mhaith,

[d] *thachair.* [c] *'ga fheuchainn, 'ga bhuaireadh.*

ciod am maith a dheanam chum gu faigh mi a' bheatha mhaireannach?

17 Agus thubhairt esan ris, C'ar son a ghoireadh tu maith dhiomsa? cha 'n'eil aon neach maith ach a h-aon, *eadhon* Dia: ach ma's àill leat dol a steach chum na beatha, coimhidf na h-àitheanta.

18 Thubhairt esan ris, Cia iad? agus thubhairt Iosa, Na dean mortadh. Na dean adhaltrannas. Na goid. Na toir fianuis bhréige.

19 Tabhair onoir do t'athair, agus do d' mhàthair: agus, Gràdhaich do choimhearsnach mar thu fein.

20 Thubhairt an t-òganach ris, Choimhid mi iad sin uile o m'òige: ciod a ta dh'uireasbhuidh orm fathast?

21 Thubhairt Iosa ris, Ma's àill leat bhi coimhlionta, imich, reic na bheil agad, agus tabhair do na bochdaibh, agus gheibh thu ionmhas air nèamh: agus thig, *agus* lean mise.

22 Ach an uair a chual an t-òganach na briathra sin, dh'fhalbh e gu brònach: oir bha mòr shaibhreas aige.

23 An sin thubhairt Iosa r'a dheisciobluibh, Gu firinneach a deirim ribh, gu bheil e cruaidh air duine saibhir dol a steach do-rioghachd nèimhe.

24 Agus a rìs a deirim ribh, Gur usadh do chàmhal dol tre g chrò snàthuide, na do dhuine saibhir dol a steach do rioghachd Dhé.

25 Agus air cluinntinn *so* d'a dheisciobluibh, ghabh iad iongantas mòr, ag radh, Cia ma seadh an neach a dh'fheudas a bhi air a shaoradh?

26 Ach air amharc do Iosa orra, thubhairt e riu, Do dhaoinibh a ta so eucomasach, ach do Dhia a ta na h-uile nithe comasach.

27 An sin fhreagair Peadar, agus thubhairt e ris, Feuch, thréig sinne na h-uile *nithe*, agus lean sinn thusa; air an aobhar sin ciod a gheibh sinn?

28 Agus thubhairt Iosa riu, Gu deimhin a deirim ribh, sibhse a lean mise, anns an ath-ghineamhuin h, an trà sheidheas Mac an duine air caithir a ghlòire fein, gu'n suidh sibhse mar an ceudna air dà chaithir dheug, a' tabhairt breth air dà threibh dheug Israeil.

29 Agus ge b'e neach a threig tighean, no bràithrean, no peathraichean, no athair, no màthair, no bean-phòsda, no clann, no fearann, air sgàth m'ainm-se, gheibh e a' cheud uiread, agus a' bheatha mhaireannach mar oighreachd.

30 Ach a ta mòran air thoiseach a bhitheas air dheireadh, agus air dheireadh a bhitheas air thoiseach.

CAIB. XX.

1 *A ta Criosd, [illegible] ghabhail a luchd [illegible] gàradh fìona, [illegible] Dia [illegible] bith; 17 [illegible] &c.*

OIR is cosmhuil rioghachd neimhe ri fear-tighe, a chaidh a mach moch air madainn a thuarasdalachadh luchd oibre d'a ghàradh fìona i.

2 Agus an déigh dha cordadh ris an luchd oibre air peighinn *Romhanaich* san là, chuir e g'a ghàradh fìona iad.

3 Agus an uair a chaidh e mach timchioll na treas uaire, chunnaic e droing eile 'nan seasamh dìomhanach air a' mhargadh.

4 Agus thubhairt e riu, Imichibhse mar an ceudna do'n ghàradh fhìona, agus ge b'e ni a bhitheas ceart, bheir mi dhuibh e. Agus dh'imich iad.

5 An uair a chaidh e mach a rìs timchioll na seathadh agus na naothadh uaire, rinn e mar an ceudna.

6 Agus an uair a chaidh e mach mu thimchioll na h-aon uair deug, fhuair e dream eile 'nan seasamh dìomhanach, agus thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh 'nar seasamh an so feadh an là dìomhanach?

7 Thubhairt iad ris, A chionn nach do thuarasdaluich duine air bith sinn. Thubhairt esan riu, Imichibhse mar an ceudna do'n ghàradh fhìona, agus ge b'e ni a ta ceart, gheibh sibh *e*.

8 Agus air teachd do'n fheasgar, thubhairt tighearn a' ghàraidh fhìona sin r'a stiùbhard l, Gairm an luchd oibre, agus tabhair dhoibh an tuaras-

f *gleidh*. g *trid, troimh*. h *ath-ùrachadh, ath-chruthachadh*. i *fhìonlios*. l *fhear-riaghlaidh*.

iad, a' tòiseachadh o 'n droing *a thainig* fa dheireadh gu ruig na ceud daoine.

9 Agus an uair a thainig iadsan *a thuarasdaluicheadh* mu thimchioll na h-aon uair deug, fhuair gach duine dhiubh peghinn.

10 Ach an uair a thainig an ceud dream, shaoil iadsan gu'm faigheadh iad ni bu mhò; ach fhuair gach aon diubh mar an ceudna peghinn.

11 Agus air dhoibh fhaotainn, rinn iad gearan an aghaidh fhir-an-tighe.

12 Ag radh, An dream sin *a thainig* fa dheireadh, cha d'rinn iad *obair* ach aon uair, agus rinn thu iad ionann agus sinne, a dh'iomchair uallach[l] agus teas an là.

13 Ach fhreagair esan agus thubhairt e ri fear dhiubh, A charaid, cha 'n'eil mi a' deanamh eucoir ort: nach do choird thu rium air pheghinn?

14 Tog leat do chuid fein, agus imich romhad: 's i mo thoils' a thabhairt do'n ti so *a thainig* fa dheireadh, mar *a thug mi* dhuitse.

15 Nach 'eil e ceaduichte dhomhsa an ni a's toil leam a dheanamh ri m' chuid fein? am bheil do shùils' olc, air son gu bheil mise maith?

16 Mar sin bithidh an droing dheireannach air thoiseach, agus an droing *a ta* air thoiseach air dheireadh: oir a ta mòran air an gairm, ach beagan air an taghadh.

17 Agus ag dol do Iosa suas gu Hierusalem, thug e an dà dheisciobul deug leis fa leth anns an t-slighe, agus thubhairt e riu,

18 Feuch, a ta sinn a' dol suas gu Hierusalem, agus bithidh Mac an duine air a bhrath thairis do na h-ard shagartaibh, agus do na scrìobhuichibh, agus dìtidh iad chum bàis e.

19 Agus bheir iad thairis e do na Cinnich chum fanoid a dheanamh *air*, agus *chum a* sgiursadh, agus *a* cheusadh: ach an treas là éiridh e a rìs.

20 An sin thainig d'a ionnsuidh màthair cloinne Shebede, maille r'a mic, a' tabhairt onoir *dha*, agus ag iarruidh ni àraidh air.

21 Agus thubhairt esan rithe, Ciod a b'àill leat? Thubhairt i ris, Abair[m] gu'n suidh iad so mo dhithis mhac, fear *aca* air do laimh dheis, agus fear eile air do laimh chli, a'd' rioghachd.

22 Ach fhreagair Iosa agus thubhairt e, Cha 'n'eil fhios agaibh ciod a ta sibh ag iarruidh. Am bheil sibh comasach air a' chupan sin òl a dh'òlas mise, agus a bhi air bhur baisteadh leis a' bhaisteadh leis am baistear mise? Thubhairt iad ris, A ta sinn comasach.

23 Agus thubhairt esan riu, Oluidh sibh gu deimhin do m' chupansa, agus baistear sibh leis a' bhaisteadh leis am baistear mise: ach suidhe air mo laimh dheis agus chli, cha leamsa *sin* a thabhairt, ach *dhoibhsan* d' am bheil e air ulluchadh le m' Athair-se.

24 Agus air cluinntinn *so* do'n deichnear, bha iad diombach air an dithis bhràithre.

25 Ach ghairm Iosa iad d'a ionnsuidh agus thubhairt e, A ta fhios agaibh gu bheil aig prionnsaibh nan Cinneach tighearnas orra, agus gu bheil aig *an* daoinibh mòra smachd orra.

26 Ach mar sin cha bhi e 'nar measgsa: ach ge b'e neach le'm b'àill a bhi mòr 'nar measg, biodh e dhuibh 'na fhear-fritheadaidh.

27 Agus ge air bith le'm b'àill toiseach a bhi aige ann bhur measg, biodh esan 'na sheirbhiseach dhuibh:

28 Amhuil mar nach d'thainig Mac an duine chum gu'n deantadh frithealadh dha, ach a dheanamh frithealaidh, agus a thabhairt 'anama fein mar éiric air son mhòrain.

29 Agus ag dol a mach dhoibh a Iericho, lean sluagh mòr e.

30 Agus feuch, dithis do dhaoinibh dalla, a bha 'nan suidhe ri taobh na slighe, 'nuair a chual iad gu'n robh Iosa a' dol seachad, ghlaodh iad, ag radh, Dean tròcair oirnne, a Thighearn, a Mhic Dhaibhi.

31 Agus chronuich an sluagh iad, chum gu'm biodh iad 'nan tosd: ach is mòid a ghlaodh iadsan, ag radh, Dean tròcair oirnn, a Thighearn, a Mhic Dhaibhi.

[l] *eallach.* [m] *Deònuich.*

32 Agus sheas Iosa, agus ghairm
e iad, agus thubhairt e, Ciod is àill
leibh mise a dheanamh dhuibh ?
33 Thubhairt iadsan ris, A Thigh-
earn, ar sùilean a bhi air am fos-
gladh.
34 Agus ghabh Iosa truas dhiubh,
agus bhean e r'an sùilibh : agus air
ball[n] thainig radharc d'an sùilibh,
agus lean iad e.

CAIB. XXI.

1 *A ta Iosa a' marcachd gu Hierusalem air asail,* 12 *a' tilgeadh a mach an luchd reic' agus ceannachd as an teampull,* 17 *a' malluchadh a' chroinn-fhìge, &c.*

AGus an uair a dhruid iad ri Hie-
rusalem, agus a thainig iad gu
Betphage, gu sliabh nan crann-ola,
an sin chuir Iosa dithis *d'a* dheisciob-
luibh uaith,
2 Ag radh riu, Rachaibh do'n
bhaile *a ta* thall fa'r comhair, agus air
ball gheibh sibh asal ceangailte *ann*,
agus loth maille rithe[o] : fuasglaibh, a-
gus thugaibh a m'ionnsuidh' *iad*.
3 Agus ma labhras aon duine ni
air bith ribh, abraibh, Gu bheil feum
aig an Tighearn orra ; agus cuiridh e
uaith air ball iad.
4 Rinneadh na nithe so uile, chum
gu 'n coimhliontadh an ni a thubh-
radh leis an fhàidh, ag radh,
5 Innsibh do nighean Shioin, Feuch,
a ta do Righ a' teachd a d' ionnsuidh
gu ciuin, is e 'n a shuidhe air asail,
agus air loth[p] mac na h-asail.
6 Agus dh'imich na deisciobuil,
agus rinn iad mar a dh'àithn Iosa
dhoibh,
7 Agus thug iad an asal agus an
loth leo, agus chuir iad am falluing-
ean[r] orra, agus chuir iad *esan* 'na
shuidhe air am muin.
8 Agus sgaoil mòr shluagh am
falluingean air an t-slighe ; agus
ghearr drong eile geuga do na crann-
aibh, agus leag iad air an t-slighe
iad.
9 Agus thog an sluagh a bha
roimhe agus 'na dhéigh iolach, ag
radh, Hosanna do Mhac Dhaibhi,
beannuichte gu'robh an ti a thig ann
an ainm an Tighearna ; Hosanna ann
na h-ardaibh.
10 Agus air dol dhasan a steach
do Hierusalem, ghluaiseadh am baile
uile, ag radh, Cò e so? [illegible]
11 Agus thubhairt a[illegible]
so Iosa am fàidh o Nas[illegible]
lile.
12 Agus chaidh Iosa [illegible]
theampull Dé, agus thilg e [illegible]
san uile a bha reic agus a' ceann[illegible]
anns an teampull, agus thilg e [illegible]
luchd malairt[t] an airgid thairis, [illegible]
caithriche luchd reicidh nan c[illegible]
man.
13 Agus thubhairt e [illegible]
scrìobhta, Goirear tigh urnuigh do m'
thigh-sa, ach rinn sibhse 'na gharadh
luchd-*reubainn*[u] e.
14 Agus thainig na doill agus na
bacaich d'a ionnsuidh anns an team-
pull, agus shlànuich e iad.
15 Agus an uair a chunnaic na
h-ard shagairt agus na scrìobhuich-
ean na gnìomharan iongantach a rinn
e, agus a' chlann a' glaodhaich san
teampull, agus ag radh, Hosanna do
Mhac Dhaibhi, bha corruich mhòr
orra.
16 Agus thubhairt iad ris, An
cluinn thu ciod a ta a' chuinntir sin
ag radh ? Agus thubhairt Iosa riu,
A ta mi cluinntinn ; nach do leugh
sibhse riamh, As beul nan naoidh a-
gus nan cìochran choimhlion thu mol-
adh ?
17 Agus an uair a dh'fhàg e iad,
chaidh e mach as a' bhaile gu Betani,
agus dh'fhan e an sin.
18 Agus ag pilleadh dha chum a'
bhaile air mhaduinn, bha ocras air.
19 Agus air dha crann-fige fhaicinn
air an t-slighe, thainig e d'a ionn-
suidh, agus cha d'fhuair e ni air bith
air, ach duilleach a mhàin ; agus
thubhairt e ris, Nar fhàsadh toradh
o so suas gu bràth ort. Agus chrìon
an crann-fìge air ball.
20 Agus an uair a chunnaic na
deisciobuil e, ghabh iad iongantas, ag

[n] *gun dàil, san uair.* [o] *'na fochair.* [p] *bioraiche.* [r] *eudach uachdair.* [s] *a' chathair.* [t] *iomlait.* [u] *'na uamh chreachadairean, 'na shlochd mheirleach.*

[illegible] Cia luath a shearg an crann-[illegible]?

21 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Gu deimhin a deirim ribh, ma bhitheas creidimh agaibh, agus nach bi sibh fuidh amharus, cha 'n e mhàin gu'n dean sibh an ni *a rinneadh* do'n chrann-fhìge, ach mar an ceudna ma their sibh ris a' bheinn [illegible] thu, agus tilgear san fhairge [illegible] e deanta:

22 Agus ge b'e air bith nithe a dh'iarras sibh ann bhur n-ùrnuigh, [illegible]chreideas sibh, gheibh sibh iad.

[illegible] Agus an uair a thainig e do'n [illegible], thainig na h-ard shagairt [illegible] seanairean a' phobuill d'a ionn-[illegible] e a' teagasg, ag radh *ris*, Ciod e an t-ùghdarras trìd am bheil thusa a' deanamh nan nithese? agus ò thug an cumhachd so dhuit?

24 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Feòruichidh mise mar an ceudna aon ni dhibhse, agus ma dh'innseas sibh dhomh e, innsidh mise dhuibhse air mhodh ceudna cia an t-ùghdarras trìd an deanam na nithese.

25 Baisteadh Eoin, cia as a thainig e? O nèamh, no o dhaoinibh? Ach reusonuich iadsan 'nam measg fein, ag radh, Ma their sinn, O nèamh, their esan ruinn, C'ar son ma seadh nach do chreid sibh e [illegible]

26 Ach ma their sinn, O dhaoinibh, a ta eagal a' phobuill oirnn; oir a ta meas fàidh aig gach uile *dhuine* air Eoin.

27 Agus fhreagair iad Iosa, agus thubhairt iad, Cha 'n'eil fhios againn. Agus thubhairt esan riu, Ni mò dh'innseas mise dhuibhse cia an t-ùghdarras trìd an deanam na nithe so.

28 Ach ciod i bhur barailse? Bha aig duine àraidh dithis mhac, agus thainig e dh'ionnsuidh a' cheud *mhic*, agus thubhairt e, A mhic, imich, dean obair an diugh a'm' ghàradh fiona.

29 Agus fhreagair esan agus thubhairt e, Cha dean: ach 'na dhéigh sin, ghabh e aithreachas agus dh'imich e.

30 Agus thainig e gus an dara *mac*, agus thubhairt e mar an ceudna. Agus fhreagair esan agus thubhairt e, *Théid*, a Thighearn; gidheadh cha deachaidh e.

31 Cia do'n dithis a rinn toil 'athar? Thubhairt iadsan ris, An ceud fhear. Thubhairt Iosa riu, Gu firinneach a deirimse ribh, gu'n dtheid na cìs-mhaoir agus na strìopaichean do rioghachd Dhé roimhibhse.

32 Oir thainig Eoin d'ar ionnsuidh an slighe na fireantachd, agus cha do chreid sibh e: ach chreid na cìs-mhaoir agus na strìopaichean e. Agus ged a chunnaic sibhse *so*, cha do ghabh sibh aithreachas 'na dhéigh sin, a chum gu'n creideadh sibh e.

33 Eisdibh ri cosamhlachd eile: Bha fear-tighe àraidh ann, a phlannduich fion-lios, agus chuir e gàradh[a] m'a thimchioll, agus chladhaich e ionad bruthaidh an fhìona ann, agus thog e tùr, agus shuidhich e air tuath e; agus chaidh e fein air choigrich.

34 Agus an trà dhruid *riu* àm an toraidh, chuir e a sheirbhisich a dh'ionnsuidh na tuatha, a dh'fhaotainn a thoraidh.

35 Agus rug an tuath air a sheirbhisich, agus ghabh iad air fear dhiubh, agus mharbh iad fear eile, agus chlach iad fear eile.

36 A rìs, chuir e seirbhisich eile uaith, tuilleadh na *sa'* cheud *chuideachd*: agus rinn iad orrasan mar an ceudna.

37 Ach fa dheireadh, chuir e a mhac fein d'an ionnsuidh, ag radh, Bheir iad urram do m' mhac.

38 Ach an uair a chunnaic an tuath am mac, thubhairt iad eatorra fein, 'S e so an t-Oighre, thigibh, marbhamaid e, agus glacamaid 'oighreachdsan *dhuinn fein*.

39 Agus rug iad [illegible] air, agus thilg iad a mach as an fhion-lios e, agus mharbh iad e.

40 Air an aobhar sin an uair a thig Tighearn an fhion-lios *sin*, ciod a ni e ris an tuath sin?

41 Thubhairt iad ris, Sgriosaidh e gu truagh na droch dhaoine sin, agus suidhichidh e am fion-lios air

[a] *dìge, callaid.*

tuath eile, a bheir a thoraidh dha 'nan
aimsiribh fein.
42 Thubhairt Iosa riu, Nach do
leugh sibh riamh anns na sgriobtuir-
ibh, A'chlach a dhiult na clachairean,
rinneadh i 'na cloich-chinn na h-ois-
inn: 's e an Tighearn a rinn so, a-
gus a ta e iongantach 'nar sùilibhne?
43 Uime sin a deirim ribh, Gu'n
toirear rioghachd Dhé uaibhse, agus
gu'n toirear do chinneach *eile* i, a
bheir a toraidh uatha.
44 Agus ge b'e neach a thuiteas
air a' chloich so, brisear e; ach ge b'e
air an tuit i, ni i mìn luaithre dheth.
45 Agus an uair a chuala na h-ard
shagairt agus na Phairisich a chos-
amhlachdasan, thuig iad gu'm b'ann
umpa fein a labhair e.
46 Ach an uair bu mhiann leo
breith air[b], bha eagal a' *phobuill* orra,
oir bha meas fàidh ac' *airsan*.

C A I B. XXII.

1 *Cosamhlachd bainnse mhic an Righ.*
9 *Gairm nan Cinneach:* 12 *pea-*
nas an fhir a bhá dh'uireasbhuidh
truscain na bainnse. 15 *Is còir cìs*
iocadh do Cheasar, &c.

AGUS fhreagair Iosa, agus labh-
air e riu a rìs an cosamhlachd-
aibh, ag radh,
2 Is cosmhuil rioghachd nèimhe
ri righ àraidh, a rinn banais phòsaidh
d'a mhac fein,
3 Agus chuir e a sheirbhisich a
ghairm na muinntir a fhuair cuireadh
chum na bainnse: ach cha b'àill leo-
san teachd.
4 A rìs chuir e *d'an ionnsuidh*
seirbhisich eile, ag radh, Abruibhse
ris a' mhuinntir d'an d'thugadh cuir-
eadh, Feuch, dheasuich mi mo dhìn-
neir: *a ta* mo dhaimh agus *mo* spréidh
bhiadhta air am marbhadh, agus *a ta*
na h-uile nithe ullamh: thigibh chum
na bainnse.
5 Ach chuir iadsan an suarachas *e*,
agus dh'imich iad rompa, fear dhiubh
d'a fhearann, agus fear eile chum a
cheannachd:
6 Agus rug a' chuid eile *dhiubh*
air a sheirbhisich, agus thug iad mas-
ladh *dhoibh*, agus mharbh siad *iad*.
7 Ach an uair a chual an righ so,
ghabh e fearg; agus chuir e 'armail-
ean uaithe, agus sgrios e an luchd
mortaidh sin, agus loisg e am baile-
san.
8 An sin thubhairt e r'a sheirbhi-
sich, Gu firinneach a ta a' bhanais
ullamh, gidheadh an dream a fhuair
cuireadh cha b'fhiu iad e.
9 Air an aobhar [illegible]
gus na rathaidibh m[illegible]
daoine 's a gheibh si[illegible]
chum na bainnse.
10 Agus chaidh n[illegible]
a mach air na rathaid[illegible]
nich iad gach uile nea[illegible]
eadar olc agus mhaith[illegible]
tigh na bainnse le m[illegible]
chum bìdh.
11 Agus air dol a [illegible]
a *dh'fhaicinn nan a*[illegible]
e an sin *duine* aig [illegible]
na bainnse uime:
12 Agus thubhairt [illegible] cha-
raid, cionnus a thainig thusa steach
an so, gun truscan na bainnse umad?
Ach dh'fhan esan 'na thosd.
13 An sin thubhairt an righ ris
na seirbhisich, Air a cheangal duibh
eadar chosan agus lamhan, togaibh
libh e, agus tilgibh e anns an dorcha-
das iomallach: an sin bithidh gul a-
gus gìosgan fhiacal.
14 Oir a ta mòran air an gairm,
ach beagan air an taghadh.
15 An sin dh'imich na Phairisich,
agus ghabh iad comhairle cionnus a
dh'fheudadh iad esan a ribeadh[c] 'na
chainnt.
16 Agus chuir iad d'a ionnsuidh
an deisciobuil fein, maille ri luchd-
leanmhuinn Heroid, ag radh, A
mhaighstir, a ta fhios againn gu bheil
thusa fior, agus gu bheil thu teagasg
slighe Dhé ann am firinn, agus nach
'eil suim agad do dhuine sam bith:
oir cha 'n'eil thu ag amharc air pear-
saibh[d] dhaoine.
17 Uime sin innis dhuinne do
bharail, Am bheil e ceaduichte cìs a
thabhairt do Cheasar, no nach 'eil?
18 Ach air tuigsinn am mìoruin a
dh' Iosa, thubhairt e, C'ar son a ta
sibh ga m' bhuaireadh, a chealgairean?

b *b'àill leo lamh a chur ann.*   c *ghlacadh.*   d *gnùis Gr.*

19 Nochduibh dhomhsa airgiod na cise. Agus thug iad d'a ionnsuidh peghinn[c].

20 Agus thubhairt e riu, Cia dha 'n bhuineas an dealbh so, agus an scriobhadh *a ta m'a thimchioll?*

21 Thubhairt iadsan ris, Do Cheasar. An sin thubhairt esan riu, Thugaibh uime sin do Cheasar na nithe a's le Ceasar; agus do Dhia, na nithe a's le Dia.

22 Agus an uair a chual iad *so*, ghabh iad iongantas, agus dh'fhàg iad e, agus dh'imich iad rompa.

23 Air an là sin fein thainig d'a ionnsuidh na Sadusaich, a their nach 'eil aiseirigh ann, agus chuir iad ceisd air,

24 Ag radh, A mhaighstir, thubhairt Maois, Ma gheibh duine bàs gun chlann aige, gur còir d'a bhràthair a bhean-san a phòsadh a dhlighe dàimhe, agus sliochd a thogail d'a bhràthair.

25 A nis bha seachdnar bhràithre 'nar measgne, agus air do'n cheud fhear dhiubh bean a phòsadh, fhuair e bàs, agus do bhrigh nach robh sliochd aige, dh'fhàg e a bhean d'a bhràthair.

26 Agus *thachair* mar an ceudna do'n dara, agus do'n treas *bràthair*, gu ruig an seachdamh.

27 Agus 'nan déigh uile fhuair a' bhean bàs mar an ceudna.

28 Air an aobhar sin anns an aiseirigh, cia do'n t-seachdnar d'am bean i? Oir bha i ac' uile.

29 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, A ta sibh air seacharan[f], gun eòlas agaibh air na scriobtuiribh, no air cumhachd Dhé:

30 Oir anns an aiseirigh ni 'n dean iad pòsadh, ni mò a bheirear am pòsadh iad; ach a ta iad mar aingil Dhé air nèamh.

31 Ach mu thimchioll aiseirigh nam marbh, nach do leugh sibh an ni sin a labhradh ribh le Dia, ag radh,

32 Is mise Dia Abrahaim, agus Dia Isaaic, agus Dia Iacoib? cha'n e Dia, Dia nam marbh, ach nam beo.

33 Agus an uair a chual am pobull *so*, ghabh iad iongantas r'a theagasgsan.

34 Ach an uair a chuala na Phairisich gu'n do chuir e na Sadusaich 'nan tosd, chruinnicheadh iad an ceann a chéile.

35 An sin chuir neach àraidh dhiubh, a b'fhear teagaisg an lagha, ceisd *air*, 'ga dhearbhadh, agus ag radh,

36 A mhaighstir, cia i an àithne a's mò san lagh?

37 Thubhairt Iosa ris, Gràdhuichidh tu an Tighearn do Dhia le d'uile chridhe, agus le d'uile anam, agus le d'uil' inntinn.

38 'Si so a' cheud *àithne* agus an àithne mhòr.

39 Agus *is* cosmhuil an dara rithe so, Gràdhuichidh tu do choimhearsnach mar thu fein.

40 Air an dà àithne so tha'n lagh uile, agus na fàidhean an crochadh.

41 Ach air do na Phairisich bhi cruinn an ceann a chéile, dh'fheòraich Iosa dhiubh,

42 Ag radh, Ciod i bhur barailse mu thimchioll Chriosd? cò d'am mac e? thubhairt iadsan ris, Do Dhaibhi.

43 Thubhairt esan riu, Cionnus ma seadh a ghoireas Daibhi san spiorad a Thighearna dheth, ag radh,

44 Thubhairt an Tighearn ri m' Thighearn, Suidh air mo laimh dheis, gus an cuir mi do naimhde 'nan stòl fuidh d' chosaibh?

45 Air an aobhar sin ma ghoireas Daibhi a Thighearn dheth, cionnus is mac dha e?

46 Agus cha b'urrainn aon neach freagradh sam bith a thabhairt air; ni mò a bha chridh' aig aon neach o'n là sin suas ni air bith fheòraich dheth.

C A I B. XXIII.

1 *A ta Criosd a' comhairleach' a' phobuill éisdeachd ri deadh theagasg nan scrìobhuichean, agus nam Phairiseach; ach gun an droch eisiomplair a leantuinn:* 5 *Is còir d'a dheisciobluibh bhi air am fàicill an aghaidh an uabhair, &c.*

AN sin labhair Iosa ris an t-sluagh, agus r'a dheisciobluibh fein,

[c] *b'ionann a' pheghinn* Romhanach *agus* 7½*d.* [f] *iomrall.*

2 Ag radh, Ata na sciobhuichean agus na Phairisich 'nan suidhe ann an caithir Mhaois.

3 Air an aobhar sin na h-uile nithe dh'iarras iad oirbhs' a choimhead[g], coimhidibh agus deanuibh *iad*; ach na deanuibh a réir an oibre: oir their iad, agus cha dean iad.

4 Oir ceanglaidh iad uallaiche[h] troma, agus do-iomchar, agus cuiridh siad *iad* air guailnibh dhaoine, gidheadh cha charuich iad fein iad le h-aon d'am meuraibh.

5 Ach an oibre uile a ta iad a' deanamh chum am bi air am faicinn le daoinibh: ni iad am philacteridh leathan, agus iomall an eudaich mòr;

6 Agus is ionmhuinn leo na ceud ionada-suidhe anns na féisdibh, agus na ceud chaithriche anns na coimhthionaluibh,

7 Agus fàilte fhaghail air na margaibh, agus daoine a ghairm Rabbi, Rabbi dhiubh.

8 Ach na goirear Rabbi dhibhse: oir is aon ard mhaighstir a ta aguibh, Criosd; agus is bràithre sibh fein uile.

9 Agus na goiribh bhur n-athair do dhuine sam bith air talamh: oir is aon Athair a ta aguibh, a *ta* air nèamh.

10 Cha mhò ghoirear ard mhaighstirean dhibh: oir is aon ard mhaighstir a ta aguibh, Criosd.

11 Ach an ti a's mò 'nar measg, bithidh e 'na òglach aguibh.

12 Agus ge b'e neach a dh'arduicheas e fein, ìslichear e; agus ge b'e neach a dh'ìslicheas e fein, arduichear e.

13 Ach is anaoibhinn dhuibhse, a scrìobhuichean agus Phairiseacha, a chealgairean, do bhrigh gu bheil sibh a' druideadh rioghachd nèimhe an aghaidh dhaoine: oir cha dtheid sibh fein a steach, agus cha'n fhulaing sibh do'n dream a ta dol a stigh dol ann.

14 Is anaoibhinn dhuibh, a scrìobhuichean agus Phairiseacha, a chealgairean; oir a ta sibh ag itheadh suas tighean bhantrach, agus air sgàth deadh choslais a' deanamh ùrnuighean fada; uime sin gheibh sibh an damnadh a's mò.

15 Is anaoibhinn dhuibh, a scrìobhuichean agus Phairiseacha, a chealgairean; oir cuairtichidh sibh muir agus tìr chum aon duine a dheanamh d'ar creidimh fein, agus an uair a bhitheas e deanta, ni sibh mac ifrinn dheth dà uair ni 's mò na sibh fein.

16 Is anaoibhinn dhuibh, a chinn-iuil[i] dhalla, a their, Ge b'e duine a bheir mionnan air an teampull, na ni air bith sin: ach ge b'e bheir mionnan air òr an teampuill, a ta e ceangailte[l].

17 Amadana, agus a dhaoine dalla! oir cò ac' is mò an t-òr, no an teampull a ta naomhachadh an òir?

18 Agus, Ge b'e bheir mionnan air an altair, cha'n 'eil suim ann: ach ge b'e bheir mionnan air an tiodhlac a ta oirre, a ta e ceangailte.

19 Amadana, agus a dhaoine dalla! oir cò ac' is mò an tiodhlac, no'n altair a ta naomhachadh an tiodhlaic?

20 Air an aobhar sin ge b'e mhionnuicheas air an altair, a ta e a' mionnachadh oirre fein, agus air gach ni a ta oirre.

21 Agus ge b'e mhionnuicheas air an teampull, a ta e a' mionnachadh airsan, agus air an Ti a ta 'na chòmhnuidh ann.

22 Agus ge b'e neach a mhionnuicheas air nèamh, a ta e a' mionnachadh air righ-chaithir Dhé, agus airsan a ta 'na shuidhe oirre.

23 Is anaoibhinn dhuibh, a scrìobhuichean agus Phairiseacha, a chealgairean: oir a ta sibh a' tabhairt an deachaimh as a' mhionnt, agus an anìse, agus a' chuimin, agus dhìobair sibh nithe cudthromach an lagha, cothrom, tròcair, agus fìrinn: bu chòir dhuibh iad so a dheanamh, agus gun iad sud fhàgail gun deanamh.

24 A chinn-iuil dhalla, a shìolaidheas[m] a' mhion-chuileag, agus a shluigeas an càmhal.

25 Is anaoibhinn dhuibh, a scrìobh-

[g] *ghleidheadh.* [h] *eallacha.* [i] *a luchd-seòluidh, a threòraichean.* [l] *fuidh fhiachaibh.* [m] *sgagas.*

uichean agus Phairiseacha, a chealg-
airean; oir glanuidh sibh an taobh a
muigh do'n chupan, agus do'n mhèis,
ach a ta iad an taobh a stigh làn do
reubainn, agus do eucoir[n].
26 Phairisich dhoill, glan air tùs
an taobh a stigh do'n chupan agus
do'n mhèis, chum as gu 'n bi an
taobh a muigh dhiubh glan mar an
ceudna.
27 Is anaoibhinn dhuibh, a scrìobh-
aichean agus Phairiseacha, a chealg-
airean; oir is cosmhuil sibh ri uaigh-
ibh gealuichte, a ta deadh-mhaiseach
air an taobh a muigh, ach air an taobh
a stigh a ta làn do chnàmhaibh dhaoine
marbh, agus do'n uile shalachar.
28 Mar an ceudna a ta sibhse an
leth a muigh am fianuis dhaoine an
coslas fhìreana, ach san taobh a stigh
làn ceilg, agus eusaontais.
29 Is anaoibhinn dhuibh, a scrìobh-
uichean agus Phairiseacha, a chealg-
airean; oir a ta sibh a' togail àitean-
adhlacaidh nam fàidh, agus a' dean-
amh leac-lithidh nam fìrean deadh-
mhaiseach,
30 Agus ag radh, Nam bitheamaid
ann an laithibh ar n-aithriche, cha
bhitheamaid compàirteach riu am fuil
nam fàidh.
31 Mar sin a ta sibh 'nar fianuisibh
'nar n-aghaidh fein, gur sibh clann
na muinntir a mharbh na fàidhean.
32 Mar sin lìonuibhse suas tomhas
bhur n-aithriche.
33 A nathraiche, a shìol nan nath-
raiche nimhe, cionnus a dh'fheudar
leibh dol as o dhamnadh ifrinn?
34 Air an aobhar sin feuch, cuir-
eamsa d'ar ionnsuidh fàidhean, agus
daoine glice, agus scrìobhuichean; a-
gus *cuid* dhiubh marbhaidh agus ceus-
uidh sibh, agus *cuid* dhiubh sgiursaidh
sibh ann bhur sionagogaibh, agus ni
sibh geur-leanmhuinn *orra* o bhaile gu
baile:
35 Chum as gu 'n dthig oirbh gach
uile fhuil fhìreanta a dhoirteadh air
an talamh, o fhuil Abeil fhìreanta,
gu fuil Shachariais, mhic Bharachi-
ais, a mharbh sibh eadar an teampull
agus an altair.
36 Gu firinneach a deirim ribh,
Gu'n dthig na nithese uile air a'
ghinealach so.
37 A Ierusalem, a Ierusalem, a
mharbhas na fàidhean, agus a ghabhas
do chlachaibh air an droing a chuirear
a t'ionnsuidh, cia minic a b'àill leam
do chlann a chruinneachadh r'a chéile
mar a chruinnicheas cearc a h-eoin
fuidh a sgiathaibh, agus cha b'àill
leibh!
38 Feuch, fàgar bhur tigh aguibh
'na fhàsach.
39 Oir a deirimse ribh, nach faic
sibh mise o so suas, gus an abair sibh,
Is beannuichte an Ti a thig ann an
ainm an Tighearna.

CAIB. XXIV.

1 *A ta Criosd ag innseadh roimh-
laimh sgrios Ierusaleim · 3 creid
iad agus cia mòr na trioblaidean a
bhitheas roimhe sin: 29 comharan
a theachd gu breitheanas, &c.*

AGUS chaidh Iosa mach, agus
dh'imich e o'n teampull; agus
thainig a dheisciobuil d'a ionnsuidh,
a nochdadh dha aitreabh an team-
puill.
2 Agus thubhairt Iosa riu, Nach
faic sibh iad so uile? gu firinneach a
deirim ribh, Nach fàgar clach air
muin cloiche an so, nach tilgear sìos.
3 Agus air suidhe dha air sliabh
nan crann-ola, thainig a dheisciobuil
d'a ionnsuidh os iosal[o], ag radh, In-
nis dhuinne, c'uin a thig na nitheso
gu crìch? agus ciod e comhara do
theachdsa, agus deiridh an t-saogh-
ail?
4 Agus fhreagair Iosa agus thu-
bhairt, e riu, Thugaibh an aire nach
meall aon neach sibh:
5 Oir thig mòran a'm' ainmse, ag
radh, Is mise Criosd; agus meallaidh
iad mòran.
6 Agus cluinnidh sibh coganna, a-
gus tuairisgeul[p] choganna: thugaibh
an aire nach bi sibh fa amhluadh[r]:
oir is éigin do na *nithibhse* uile teachd
gu crìch[s], ach cha 'n'eil an deireadh
ann fathast.
7 Oir éiridh cinneach an aghaidh

[n] *dh'anabhara.* [o] *an uaignidheas.* [p] *iomradh.* [r] *bhuaireas.*
[s] *tachairt.*

cinnich, agus rioghachd an aghaidh
rioghachd: agus bithidh gorta agus
plaighean agus criothana talmhainn
am mòran a dh'àitibh.
8 Agus cha '*n'eil* annta so uile ach
toiseach thruaighean.
9 An sin bheir iad thairis sibh
chum àmhghair, agus marbhaidh iad
sibh: agus bithidh fuath aig gach
uile chinneach dhuibh air sgàth
m'ainmese.
10 Agus an sin gabhaidh mòran
oilbheum, agus brathaidh iad a chéile,
agus bithidh fuath aca d'a chéile.
11 Agus éiridh mòran a dh'fhàidh-
ibh bréige, agus meallaidh iad mòran.
12 Agus do bhrigh gu'm bi an
eucoir air a meudachadh, fuaruichidh
gràdh mhòrain.
13 Ach ge b'e bhitheas seasmhach
chum na crìche, *s'e so a shlànuichear.*
14 Agus bithidh soisgeul so na
rioghachd air a shearmonachadh air
feadh an domhain uile, mar fhianuis
do na h-uile chinneachaibh: agus an
sin thig an deireadh.
15 Air an aobhar so an uair a chi
sibhse gràinealachd an léir-sgrios, air
an do labhair Daniel am fàidh, 'na
seasamh ann an ionad naomha, (tuig-
eadh an ti a leughas)
16 An sin teicheadh *iadsan a ta*
ann an Iudea, chum nam beann.
17 An ti a ta air mullach an tighe,
na dthigeadh e nuas a thabhairt ni
sam bith leis as a thigh:
18 Agus an ti a ta air a' mhachair,
na pilleadh e air ais a thogail fhall-
uinge leis.
19 Agus is anaoibhinn do na
mnaibh torrach, agus dhoibhsan a
bheir cìoch uatha sna laithibh sin.
20 Ach guidhibhse gun bhur teich-
eadh a bhi sa' gheamhradh, no air an
t-sàbaid:
21 Oir anns an àm sin bithidh
àmhghar mòr ann, amhuil nach robh
ann o thùs an domhain gus a nis, a-
gus nach mò a bhitheas a choidhch.
22 Agus mur biodh na laithean
sin air an giorrachadh, cha bhiodh
feoil sam bith air a tearnadh: ach air
son nan daoine taghta bithidh na lai-
thean sin air an giorrachadh.
23 An sin ma their aon duine
ribh, Feuch, *a ta* Criosd an so, no an
sud; na creidibh *e:*
24 Oir éiridh Criosdan bréige, a-
gus fàidhean bréige, agus ni iad
comharan agus mìorbhuilean mòr,
ionnus gu mealladh iad, nam b'urr-
adh e bi, na daoine taghta féin.
25 Feuch, dh'innis mi dhuibh
roimh-laimh.
26 Uime sin ma their iad ribh,
Feuch, a *ta e* san fhàsach, na rach-
aibh a mach: *Feuch, a ta e* san seomp-
raichibh uaigneach, na creidibh *e.*
27 Oir a réir mar a thig dealan-
anach o'n aird an ear, agus a dheal-
ruicheas e gus an aird an iar; is ann
sin mar an ceudna bhitheas teachd
Mhic an duine.
28 Oir ge b'e bail am bi a' chlosach[t],
is ann an sin a chruinnichear na h-iol-
airean.
29 Air ball an déigh trioblaid nan
là ud, dorchuichear a' ghrian, agus
cha tabhair a' ghealach a solus, agus
tuitidh na reultan o nèamh, agus bi-
thidh cumhachda nan nèamh air an
crathadh.
30 Agus an sin foillsichear comh-
ara Mhic an duine an nèamh: agus
an sin ni uile threubha na talmhainn
bròn, agus chi iad Mac an duine a'
teachd air neulaibh nèimhe, le cumh-
achd agus glòir ro mhòir.
31 Agus cuiridh e mach 'aingil le
fuaim mhòir na galltruimp, agus
cruinnichidh iad a shluagh taghta o
na ceithir gaothaibh, o leth-iomall
nèimhe gus an leth-iomall eile.
32 Ach fòghlumaibh cosamhlachd
o'n chrann-fhìge: an uair a bhitheas
a gheug a nis maoth, agus a dh'fhàs-
as an duilleach, aithnichidh sibh gur
fagus an samhradh:
33 Agus mar an ceudna, an uair a
chi sibhse na nithese uile, biodh fios
agaibh gu bheil e am fagus, *eadhon*
aig na dorsaibh.
34 Gu deimhin a deirim ribh,
Nach dtheid an ginealach so fein
thairis, gus an tachair na nithese uile.
35 Theid neamh agus talamh thai-
ris, ach cha dtheid mo bhriathrasa
thairis a choidhch.

[t] *chlosach.*

36 Ach cha 'n'eil fios an là no na
h-uaire sin aig duine air bith, no fòs
aig ainglibh *nèimhe*, ach aig m'A-
thair a mhàin.
37 Ach amhuil *a bha* laithean
Noe, mar sin mar an ceudna bithidh
teachd Mhic an duine.
38 Oir mar a bha iad anns na laith-
ibh roimh 'n tuil ag itheadh agus ag
òl, a' pòsadh agus a' tabhairt am pòs-
adh, gus an là an deachaidh Noe a
steach san àirc,
39 Agus nach robh fhios aca gus
an d'thainig an tuil, agus an do thog
i leatha iad uile; mar sin mar an
ceudna bithidh teachd Mhic an duine.
40 An sin bithidh dithis air a'
mhachair; gabhar fear aca, agus fàgar
am fear eile.
41 Bithidh dithis bhan a' meil-
eadh[u] anns a' mhuileann; gabhar
a h-aon aca, agus fàgar an aon eile[a].
42 Uime sin deanuibhse faire, oir
cha 'n'eil fhios agaibh cia an uair an
dthig bhur Tighearna.
43 Ach a ta fhios so agaibh, nam
b'fhiosrach fear an tighe cia an uair
an d'thigeadh an gaduiche, gu'n dean-
adh e faire, agus nach fulaingeadh e
gu'm bristeadh a thigh trìd.
44 Uime sin bithibhse ullamh mar
an ceudna: oir is ann an uair nach
saoil sibh, a thig Mac an duine.
45 Cò e ma seadh a ta 'na òglach
fìrinneach agus glic, a chuir a Thigh-
earn os cionn a mhuinntire, a thabh-
airt bìdh dhoibh 'na àm fein?
46 *Is* beannuichte an t-òglach sin,
a gheibh a Thighearna ri àm dha
teachd, a' deanamh mar sin.
47 Gu deimhin a deirim ribh, gu'n
cuir se e os cionn a mhaoin gu h-iom-
lan.
48 Ach ma their an droch sheir-
bhiseach ud 'na chridhe, A ta mo
Thighearn a' cur dàil 'na theachd,
49 Agus ma thòisicheas e air *a*
choimh-sheirbhisich a bhualadh, agus
air itheadh agus òl maille ri luchd
misge;
50 Thig Tighearn an òglaich sin
ann an là nach 'eil sùil aige ris, agus
ann an uair nach fios da,
51 Agus gearraidh e 'na bhloigh-
dibh e, agus bheir e a chuibhrionn
da maille ris na cealgairibh: an sin
bithidh gul agus giosgan fhiacal.

CAIB. XXV.

Far am bheil againn, 1 cosamhlachd nan deich òigh, 14 Agus nan talann: 31 mar an ceudna mìn-innseadh mu'n bhreitheanas dheireannach.

AN sin samhluichear rioghachd
nèimhe ri deich òighibh, a thug
leo an lòchrain, agus a chaidh a mach
an còdhail an fhir nuadh-phòsda[b].
2 Agus bha cùigear dhiubh glic,
agus cùigear amaideach.
3 Thug iadsan a bha amaideach
an lòchrain *leo*, ach cha d'thug iad
ola leo.
4 Ach iadsan a bha glic, thug iad
ola leo 'nan soithichibh maille r'an
lòchranaibh.
5 Agus air deanamh moille do'n
fhear nuadh-phòsda, thuit clò codail
orra uile, agus suain[c].
6 Ach anns a' mheadhon-oidhche
rinneadh glaodh, Feuch, a ta 'm fear
nuadh-pòsda a' teachd, rachaibh a
mach g'a choinneachadh.
7 An sin dh'éirich na h-òighean ud
uile, agus dheasuich iad an lòchrain.
8 Agus thubhairt na h-òighean
amaideach riusan *a bha* glic, Tabh-
ruibh dhuinne *cuid* do bhur n-ola;
oir a ta ar lòchrain a' dol as.
9 Ach fhreagair iadsan *a bha* glic,
ag radh, Air eagal nach bi na 's leoir
ann dhuinn fein agus dhuibhse, gu
ma fearr leibh dol a chum an luchd-
reicidh, agus ceannuichibh dhuibh
fein.
10 Agus am feadh a bha iad a'
dol a cheannach, thainig am fear
nuadh-pòsda, agus chaidh iadsan a
bha ullamh a steach leis chum a'
phòsaidh, agus dhruideadh an dorus.
11 'Na dhéigh sin thainig mar an
ceudna na h-òighean eile, ag radh,
A Thighearn, a Thighearn, fosgail
dhuinne.
12 Ach fhreagair esan agus thubh-
airt e, Gu deimhin a deirim ribh,
nach aithne dhomh sibh.

[u] *bleath.* [a] *an té eile.* [b] *fhir-na-bainnse.* [c] *rinn iad dùsal uile, agus choidil iad.*

13 Deanaibh faire air an aobhar sin, do bhrigh nach *aithne dhuibh* an la no an uair, air an *d'thig* Mac an duine.

14 Oir is cosmhuil ^d ri duine a' dol air choigrich, a ghoir a sheirbhisich, agus a thug *dhoibh* a mhaoin :

* 15 Agus do h-aon diubh thug e cùig talanna, agus do neach eile a dhà, agus do neach eile a h-aon ; do gach aon fa leth a réir a chomais ; agus air ball ghabh e a thurus.

16 Agus dh'imich esan a fhuair na cùig talanna, agus rinn e ceannachd leo, agus bhuannuich e cùig talanna eile.

17 Agus mar an ceudna esan *a fhuair* a dhà, bhuannuich e dithis eile.

18 Ach an ti a fhuair a h-aon, dh'imich e agus chladhaich e san talamh, agus dh'fholaich e airgiod a mhaighstir.

19 An *déigh aimsir fhada thainig* Tighearna nan seirbhiseach sin, agus *rinn* e cunntas riu.

20 Agus thainig esan a fhuair na cùig talanna, agus thug e *leis* cùig talanna eile, ag radh, A Thighearna, thug thu dhomhsa cùig talanna: feuch, bhuannuich mi cùig talanna eile thuilleadh orra.

21 Agus thubhairt a Thighearna ris, Is maith, a dheadh sheirbhisich fhìrinnich ; bha thusa firinneach ann am beagan, cuiridh mise os cionn mhòrain thu : imich a steach do aoibhneas do Thighearna.

22 Agus air teachd dhasan a fhuair an dà thalann, thubhairt e, A Thighearna, thug thu dhomhsa dà thalann : feuch, bhuannuich mi dà thalann eile thuilleadh orra.

23 Thubhairt a Thighearna ris, Is maith, a dheadh sheirbhisich fhìrinnich ; bha thusa firinneach ann am beagan *do nithibh*, cuiridh mise os cionn mòrain *do nithibh* thu : imich a steach do aoibhneas do Thighearna.

24 Ach an uair a thainig esan a fhuair an t-aon talann, thubhairt e, A Thighearna, bha fhios agam gur duine cruaidh thu, a bhuaineas san àite nach do chuir thu, agus a thionalas san ionad anns nach do sgaoil thu :

25 Agus air dhomh bhi fuidh eagal, chaidh mi agus dh'fholaich mi do thalann san talamh : feuch, sin agad do chuid fein.

26 Fhreagair a Thighearn agus thubhairt e ris, A sheirbhisich uilc agus leisg, bha fhios agad gu buainimse san àit anns nach do chuir mi, agus gu tionalaim as an ionad anns nach do sgaoil mi ;

27 Bu *chòir dhuit* uime sin m'airgiod a thabhairt do'n luchd malairt, agus *air dhomh teachd* gheibhinn mo chuid fein *maille r'a riadh.*

28 Buinibh uaith uime sin an talann, agus thugaibh dhasan e, aig am bheil na deich talanna.

29 (Oir do gach neach aig am bheil bheirear, agus bithidh aige gu pailt : ach uaithsan aig nach 'eil, bheirear eadhon an ni sin a ta aige)

30 Agus tilgibh an seirbhiseach mi-tharbhach so do dhorchadas iomallach : an sin bithidh gul agus giosgan fhiacal.

31 An uair a thig Mac an duine 'na ghlòir, agus na h-aingil naomha uile maille ris, an sin suidhidh e air caithir rìoghail a ghlòire,

32 Agus cruinnichear 'na làthair na h-uile chinnich ; agus sgaraidh e iad o chéile, amhuil a sgaras ^e buachaille na caoraich o na gabhraibh :

33 Agus cuiridh e na caoraich air a laimh dheis, ach na gabhair air a laimh chli.

34 An sin their an Righ riusan air a dheis, Thigibh, a dhaoine beannuichte m' Atharsa, sealbhuichibh mar oighreachd an rioghachd a ta air a deasachadh dhuibh o leagadh bunaitean an domhain :

35 Oir bha mi ocrach, agus thug sibh dhomh biadh : bha mi tartmhor ^f, agus thug sibh dhomh deoch : bha mi a'm' choigreach, agus thug sibh aoidheachd dhomh :

36 Lomnochd, agus dh'eudaich sibh mi : bha mi euslan, agus thainig sibh g'am amharc : bha mi am priosun, agus thainig sibh a m' ionnsuidh.

37 An sin freagraidh na fireana e, ag radh, A Thighearna, c'uin a chunnaic sinn ocrach thu, agus a

^d *is cosmhuil* rioghachd nèimhe. ^e *thearbaidheas.* ^f *ìotmhor, pàiteach.*

bheathaich sinn thu? no tartmhor, a-
gus a thug sinn deoch dhuit?
38 No c'uin a chunnaic sinn a'd'
choigreach thu, agus a thug sinn
aoidheachd dhuit? no lomnochd, a-
gus a dh'eudaich sinn thu?
39 No c'uin a chunnaic sinn eus-
lan thu, no am priosun, agus a thain-
ig sinn a t' ionnsuidh?
40 Agus freagraidh an Righ, agus
their e riu, Gu deimhin a deirim ribh,
a mheud 's gu'n do rinn sibh *e* do
h-aon do na bràithribh a's lugha ag-
amsa, rinn sibh dhomhsa *e*.
41 An sin their e mar an ceudna
riusan air an laimh chli, Imichibh
uam, a shluagh malluichte, dh'ionn-
suidh an teine shiorruidh, a dh'ulluich-
eadh do'n diabhol agus d'a ainglibh:
42 Oir bha mi ocrach, agus cha
d'thug sibh dhomh biadh: bha mi
tartmhor, agus cha d'thug sibh dhomh
deoch:
43 Bha mi a'm' choigreach, agus
cha d'thug sibh aoidheachd dhomh:
lomnochd, agus cha d'eudaich sibh
mi: euslan, agus am priosun, agus
cha d'thainig sibh g'am amharc.
44 An sin freagraidh iadsan mar
an ceudna e, ag radh, A Thighearna,
c'uin a chunnaic sinne thu ocrach,
no tartmhor, no d' choigreach, no
lomnochd, no euslan, no am priosun,
agus nach do fhritheil sinn dhuit?
45 An sin freagraidh esan iad, ag
radh, Gu deimhin a deirim ribh, a
mheud 's nach d'rinn sibh *e* do'n
neach a's lugha dhiubh so, cha d'rinn
sibh dhomhsa *e*.
46 Agus imichidh iadsan chum
peanais shiorruidh; ach na fìreana
chum na beatha maireannaich.

CAIB. XXVI.

Far am bheil air an cur sìos, 1 comhairle agus ceannairc nan uachdaran an aghaidh Chriosd. 6 A ta bean ag ungadh a chinn: 14 Iudas 'ga reiceadh. 17 A ta Criosd ag itheadh na càisge: 26 ag orduchadh a shuipeir naomha, &c.

AGUS tharladh, 'nuair a chrìoch-
naich Iosa na briathra so uile,
gu'n dubhairt e r'a dheisciobluibh,
2 A ta fhios agaibh gu'm bheil a'
chàisg an déigh dà latha, agus a ta
Mac an duine air a bhrath chum a
cheusadh[g].
3 An sin chruinnich uachdarain
nan sagart, agus na scrìobhuichean,
agus seanairean a' phobuill, gu talla
an àrd shagairt, d'an goirear Caia-
phas,
4 Agus ghabh iad comhairle le
chéile chum Iosa a ghlacadh le feall,
agus a chur gu bàs.
5 Ach thubhairt iad, Na *deanam-
aid* e san fhéist, air eagal gu'm bi
buaireas am measg a' phobuill.
6 Agus air do Iosa a bhi ann am
Betani, ann an tigh Shimoin an lobh-
air,
7 Thainig bean d'a ionnsuidh aig
an robh bocsa alabastair làn a dh'ola
ro luach-mhoir, agus dhòirt i air a
cheann e, agus e 'na shuidhe aig
biadh.
8 Ach an uair a chunnaic a dheis-
ciobuil *sin*, bha fearg orra, ag radh,
Ciod is ciall do'n ana-caitheadh so?
9 Oir dh'fheudadh an ola so bhi
air a reiceadh air mhòran, agus a bhi
air a tabhairt do na bochdaibh.
10 Ach air aithneachadh *so* do Io-
sa, thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh
a' cur dragha air a' mhnaoi? oir
rinn i deadh obair dhomhsa.
11 Oir a ta na bochdan agaibh a
ghnàth maille ribh, ach cha 'n'eil
mise agaibh a ghnàth.
12 Oir air dòrtadh na h-olasa dh'i
air mo chorpsa, is ann fa chomhair
m'adhlaic a rinn i e.
13 Gu deimhin a deirim ribh, Ge
b'e àit am bi an soisgeul s' air a shear-
monachadh air feadh an t-saoghail
gu h-iomlan, aithrisear an ni a rinn
a' bhean so, mar chuimhne oirre.
14 An sin dh'imich aon do'n dà
fhear dheug, d'am b'ainm Iudas Is-
cariot, chum nan àrd shagart.
15 Agus thubhairt e, Ciod a bheir
sibh dhomhsa, agus brathaidh mi
dhuibh e? Agus choird iad ris air
dheich buinn fhichead airgid.
16 Agus o'n àm sin a mach dh'iarr
e fàth[h] air esan a bhrath.
17 Agus air a' cheud *là dh'fhéist*

[g] *bheirear thairis Mac an duine gu bhi air a cheusadh.* [h] *cothrom.*

an arain neo-ghoirtichte, thainig n[illegible]
deisciobuil chum Iosa, ag radh ri[illegible]
[illegible] sinne a dh'ullach[illegible]
[illegible] as gu'n ith thu [illegible]
[illegible]
[illegible]airt esan, Rachaibh
[illegible] ithid so do dhuine,
[illegible] Tha am maighstir ag
[illegible] am fagus, cumaidh
[illegible] thighsa maille ri m'
[illegible]
19 [illegible] na deisciobuil mar a
[illegible] dhoibh, agus dheas-
[illegible].
20 Agus an uair a thainig am
feasgar, shuidh e maille ris an dà
fhear dheug.
21 Agus ag itheadh dhoibh, thubh-
airt e, Gu deimhin a deirim ribh,
gu'm brath fear dhibh mise.
22 Agus air dhoibh bhi ro bhrònach,
thòisich gach aon aca fa leth air a radh
ris, Am mise *e*, a Thighearna?
23 Agus fhreagair esan agus thubh-
airt e, An ti a thumas a lamh sa' mhèis
maille riumsa, brathaidh esan mi.
24 Gu deimhin a ta Mac an duine
ag imeachd, a réir mar a ta e scrìobh-
ta m'a thimchioll: ach is anaoibhinn
do'n duine sin, le 'm brathar Mac an
duine: bu mhaith do'n duine sin,
mur beirte riamh e.
25 An sin fhreagair Iudas a bhrath
e, agus thubhairt e, A mhaighstir, am
mise e? Thubhairt esan ris, Thubhairt
thu.
26 Agus ag itheadh dhoibh, ghlac
Iosa aran, agus air tabhairt buidheach-
ais, bhris se *e*[i], agus thug e do na
deisciobluibh *e*, agus thubhairt e, Gabh-
aibh, ithibh; 's e so mo chorpsa.
27 Agus air glacadh a' chupain,
agus air tabhairt buidheachais, thug
e dhoibh *e*, ag radh, Oluibh uile
dheth:
28 Oir is i so m'fhuilse na tiom-
na[l] nuaidh, a dhòirtear airson mhò-
rain chum maitheanais pheacanna.
29 Ach a deirim ribh, Nach òl mi
a so suas do thoradh so na fionain[m],
gus an la sin an òl mi e nuadh maille
ribh ann an rioghachd m' Athar.
30 Agus air dhoibh laoidh a sheinn,

[illegible] crann-ola.
31 [illegible]
[illegible]
[illegible]
[illegible]
[illegible]
32 Ach an deigh dhomhsa éirigh
a rìs, theid mi roimhibh do Ghalile.
33 Agus fhreagair Peadar agus
thubhairt e ris, Ged gheibh gach uile
dhaoine oilbheum annad, cha'n fhaigh
mise oilbheum gu bràth,
34 Thubhairt Iosa ris, Gu deimh-
in a deirim riut, air an oidhche so
fein mu'n goir an coileach, gu'n
àicheadh thu mi tri uairean.
35 Thubhairt Peadar ris, Ged a
b'éigin dhomh bàsachadh maille riut,
cha'n àicheadh mi thu. Agus thubh-
airt na deisciobuil uile mar an ceud-
na.
36 An sin thainig Iosa maille riu
gu ionad d'an goirear Getsemane, a-
gus thubhairt e ris na deisciobluibh,
Suidhibhs' an so, gus an dtheid mise
a dheanamh ùrnuigh an sud.
37 Agus thug e Peadar leis, agus
dithis mhac Shebede, agus thòisich e
air a bhi brònach, agus ro dhoilgheas-
ach.
38 An sin thubhairt e riu, A ta
m'anam ro bhrònach, eadhon gu bàs:
fanuibhs' an so, agus deanaibh faire
maille riumsa.
39 Agus dh'imich e beagan air
adhart[n], agus thuit e air 'aghaidh, a'
deanamh ùrnuigh, agus ag radh, O
m' Athair, ma dh'fheudas e bhi, rach-
adh an cupansa seachad orm: gidh-
eadh, na biodh e mar is aill leamsa,
ach mar *is toil* leatsa.
40 Agus thainig e chum nan deis-
ciobul, agus fhuair e 'nan codal iad,
agus thubhairt e ri Peadar, An ann
mar sin, nach b' urradh sibh faire a
dheanamh aon uair *a mhàin* maille
riumsa?
41 Deanaibh faire agus ùrnuigh,
chum as nach tuit sibh am buaireadh:
a ta gun amharus an spiorad togarach;
ach *a ta* 'n fheoil anmhunn[o].
42 A rìs an dara uair, dh'imich e

[i] *agus bheannuich, agus bhris se* e. [l] *a'choimhcheangail.*
[m] *fineamhain.* Eir. [n] *air aghaidh.* [o] *lag.*

agus rinn e ùrnuigh, ag radh, O m'Athair, mur feudar gu'n dtheid an cupan so seachad orm, gun mi 'ga òl, do thoilsa gu robh deanta.

43 Agus thaning e agus fhuair e iad a ris 'nan codal: oir bha an sùilean trom.

44 Agus dh'fhàg e iad, agus dh'imich e a rìs, agus rinn e ùrnuigh an treas uair, ag radh nam briathra ceudna.

45 An sin thainig e chum a dheisciobul, agus thubhairt e riu, Coidlibh roimhibh a nis, agus gabhaibh fois; feuch, a ta 'n uair air druideadh, agus a ta Mac an duine air a bhrath thairis do lamhaibh pheacach

46 Eiribh, imicheamaid: feuch, a ta 'n ti a bhrathas mise 'm fagus.

47 Agus air dha bhi fathast a' labhairt, feuch, thainig Iudas, aon do'n dà fhear dheug, agus maille ris cuideachd mhòr le cloidhibh agus bataibh o na h-ard shagartaibh agus o sheanairibh a' phobuill.

48 A nis bha an ti a bhrath esan air tabhairt comharaidh dhoibh, ag radh, Ge b'e neach a phògas mise, 's e sin e; deanaibh greim air.

49 Agus air ball thainig e chum Iosa, agus thubhairt e, Fàilte dhuit, a mhaighstir; agus phòg se e.

50 Ach thu.bhairt Iosa ris, A charaid, c'ar son a thainig thu? An sin thainig iad, agus chuir iad lamh ann an Iosa, agus ghlac iad e.

51 Agus feuch, shin a h-aon diubhsan a bha maille ri Iosa a lamh, agus tharruing e a chlaidheamh, agus air dha seirbhiseach an ard shagairt a bhualadh, ghearr e a chluas dheth.

52 An sin thubhairt Iosa ris, Cuir a rìs do chlaidheamh air ais 'na ionad fein: oir iadsan uile a ghlacas an claidheamh tuitidh iad leis a' chlaidheamh.

53 An saoil thusa nach feud mise a nis m'Athair a ghuidheadh, agus bheir e dhomh tuilleadh is dà legion deug a dh'ainglibh?

54 Ach cionnus an sin bhiodh na scriobtuirean air an coimhlionadh, *a tha 'g radh* gur ann mar so is éigin tachairt?

55 Anns an uair sin fein thubhairt Iosa ris an t-sluagh, An d'thainig sibh a mach mar gu b'ann an aghaidh gaduiche le cloidhibh agus bataibh chum mise a ghlacadh? Bha mi gach la a'm' shuidhe maille ribh san teampull a' teagasg, agus cha do chuir sibh lamh annam.

56 Ach thachair so uile, chum gu'm biodh scriobtuire nam fàidh air an coimhlionadh. An sin thréig na deisciobuil uil' e, agus theich iad.

57 Agus air dhoibhsan Iosa a ghlacadh, thug iad leo *e* gu Caiaphas an t-ard shagart, far an robh na sriobhaichean agus na seanairean air cruinneachadh.

58 Ach lean Peadar e fad uatha, eadhon gu talla an ard shagairt, agus chaidh e steach, agus shuidh e maille ris na seirbhisich a dh'fhaicinn na crìche.

59 Agus dh'iarr na h-ard shagartan agus na seanairean, agus a' chomhairle uile, fianuis bhréige an aghaidh Iosa, chum a chur gu bàs.

60 Ach cha d' fhuair iad: seadh, ged a thainig mòran a dh'fhianuisibh bréige, cha d'fhuair iad. Fa dheoidh thainig dà fhianuis bhréige,

61 Agus thubhairt iad, Thubhairt am *fear* so, Is urradh mise teampull Dé a leagadh, agus a thogail a rìs an tri laithibh.

62 Agus air do'n ard shagairt éirigh, thubhairt e ris, Nach freagair thu bheag? Ciod e a ta iad sin a' fianuiseadh a'd' aghaidh?

63 Ach dh'fhan Iosa 'na thosd. Agus fhreagair an t-ard shagart agus thubhairt e ris, A ta mi ga d' mhionnachadh air an Dia bheo, gu 'n innseadh tu dhuinn, an tu Criosd Mac Dhé.

64 Thubhairt Iosa ris, Thubhairt thu: gidheadh a deirim ribh, 'Na dhéigh so chi sibh Mac an duine 'na shuidhe air deas laimh cumhachd *Dhé*, agus a' teachd air neulaibh nèimhe.

65 An sin reub an t-ard shagart 'eudach, ag radh, Gu 'n do labhair e toibheum; ciod am feum tuilleadh a ta againn air fianuisibh? feuch, a nis chuala sibh a thoibheum.

66 Ciod i bhur barail? Fhreagair iadsan agus thubhairt iad, A ta e toillteanach air a' bhàs.

67 An sin thilg iad smugaid 'n[illegible]
[illegible] bhuail iad le 'm basaibh
[illegible] bh cuid eile air le slataibh,
68 ag radh, Dean fàidheadoir-
[illegible] dhuinn, a Chriosd, cò e [illegible]
[illegible] thu?
69 Agus shuidh Peadar a [illegible]
[illegible] an talla: agus thainig cailin à-
[illegible] d'a ionnsuidh, ag radh, Bha
thusa mar an ceudna maille ri h-Iosa
[illegible] Ghalile.
70 Ach dh'àicheadh esan 'nan
làthair uile, ag radh, Cha 'n'eil fhios
agam ciod a ta thu 'g radh.
71 Agus air dol a mach dha do'n
fhor-dhorus, chunnaic *cailin* eile e,
agus thubhairt i riusan a bha 'n sin,
Bha 'm fear so mar an ceudna maille
ri h-Iosa o Nasaret.
72 Agus dh'àicheadh e a rìs le
mionnaibh, *ag radh,* Cha'n aithne
dhomh an duine.
73 Agus tamull beag 'na dhéigh
sin thainig an dream a bha 'nan seas-
amh a làthair, agus thubhairt iad ri
Peadar, Gu firinneach is ann diubh
sud fein thusa: oir a ta do chainnt
ga d' bhrath.
74 An sin thòisich e ri mallachadh
agus mionnachadh, *ag radh,* Cha'n
aithne dhomh an duine. Agus air
ball ghoir an coileach.
75 Agus chuimhnich Peadar briath-
ran Iosa, a thubhairt ris, Mu'n goir
an coileach, àicheadhaidh tu mi tri
uairean. Agus air dol a mach dha,
ghuil e gu geur[r].

CAIB. XXVII.

1 *A ta Criosd air a thoirt thairis ceangailte do Philat. 3 Chroch Iudas e fein. 19 A ta Pilat a' faotainn rabhaidh o mhnaoi, 24 ag ionnlad a lamh. 26 a' leigeadh Bharabais fa sgaoil: 29 Ta Criosd air a chrùnadh le droighionn, 34 air a cheusadh, &c.*

AIR teachd do'n mhaduinn,
ghabh uachdarain nan sagart
uile, agus seanairean a' phobuill,
comhairle le chéile an aghaidh Iosa,
chum a chur gu bàs.
2 Agus air dhoibh esan a chean-
gal, thug iad leo e, agus thug iad
thairis a dh'ionnsuidh [illegible]
[illegible]
3 An sin an [illegible]
[illegible]
[illegible]
[illegible]
[illegible]
seanairibh,
4 Ag radh, Pheacuich mi, ann am
brath na *fola* neo-chiontaich. Ach
thubhairt iadsan, Ciod *e sin* duinne?
amhairc thusa *air sin.*
5 *Agus* air tilgeadh uaith nam
bonn airgid anns an teampull,
dh'imich e roimhe, agus chaidh e
agus chroch[s] se e fein.
6 Agus ghlac na h-ard shagairt na
buinn airgid, agus thubhairt iad, Cha
chòir an cur san ionmhas, oir is luach
fola *iad.*
7 Agus air gabhail comhairle
dhoibh, cheannuich iad leo fearann a'
chriadhadair[t], chum a bhi 'na àit-
adhlaic do choigreachaibh.
8 Air an aobhar sin goirear do'n
fhearann sin, Fearann na fola, gus
an la'n diugh.
9 (An sin choimhlionadh an ni a
thubhradh le Ieremias am fàidh, ag
radh, Agus ghabh iad na deich buinn
fhichead airgid, luach an ti a mheas-
adh, neach a mheas iadsan *a bha* do
chloinn Israeil:
10 Agus thug siad iad air son
fearainn a' chriadhadair, mar a dh'òr-
duich an Tighearna dhomhsa.)
11 Agus sheas Iosa an làthair an
uachdarain: agus dh'fhiosruich an
t-uachdaran dheth, ag radh, An tusa
Righ nan Iudhach? Agus thubhairt
Iosa ris, Thubhairt thu.
12 Agus an uair a chuir na h-ard
shagairt agus na seanairean cionta as
a leth, cha do fhreagair e ni sam
bith.
13 An sin thubhairt Pilat ris,
Nach cluinn thu cia lìon nithe air
am bheil iad a' toirt fianuis a'd' agh-
aidh?
14 Agus cha d'thug e freagradh
dha air aon fhocal, ionnus gu'n do
ghabh an t-uachdaran iongantas ro
mhòr.
15 A nis ri àm na féisde chleachd

[p] *fàisneachd.* [r] *goirt.* [s] *thachd.* [t] *fhir deanamh shoithiche creadha.*

an t-uachdaran aon phriosunach a b'àill leo chur fa sgaoil do'n phobull.

16 Agus bha aca san àm sin priosunach ro chomharaichte, d'am b'ainm Barabas.

17 Air an aobhar sin an uair a bha iad cruinn an ceann a chéile, thubhairt Pilat riu, Cò is àill leibh mise a chur fa sgaoil duibh ? Barabas, no Iosa, d'an goirear Criosd ?

18 Oir bha fhios aige gu'm b'ann o fharmad, a thug iad thairis e,

19 Agus an uair a bha e 'nashuidhe air caithir a' bhreitheanais, chuir a bhean *teachdaireachd* d'a ionnsuidh, ag radh, Na biodh agadsa gnothuch sam bith ris an fhìrean[u] sin : oir is mòr a dh'fhulaing mise an diugh ann am bruadar, air a shonsan.

20 Ach chuir na h-ard shagairt agus na seanairean impidh air a' phobull gu'n iarradh iad Barabas, agus gu milleadh iad Iosa.

21 Agus fhreagair an t-uachdaran agus thubhairt e riu, Cò do'n dithis is àill leibh mise a chur fa sgaoil duibh ? Thubhairt iadsan, Barabas.

22 Thubhairt Pilat riu, Ciod ma seadh a ni mi ri h-Iosa, d'an goirear Criosd ? Thubhairt iad ris uile, Ceusar e.

23 Agus thubhairt an t-uachdaran, C'ar son ? ciod an t-olc a rinn e ? ach is mò gu mòr a ghlaodh iadsan, ag radh, Ceusar e.

24 Agus an uair a chunnaic Pilat nach do bhuadhuich e bheag sam bith, ach gu'n d'éirich an tuilleadh buaireis, air dha uisge a ghabhail, dh'ionnlaid e a lamhan am fianuis an t-sluaigh, ag radh, A ta mi seneochiontach a dh'fhuil an fhìrein so : faicibhse *sin*.

25 Agus fhreagair am pobull uile, agus thubhairt iad, Biodh fhuil oirnne, agus air ar cloinn.

26 An sin leig e fa sgaoil Barabas dhoibh : ach air dha Iosa a sgiursadh, thug e thairis e chum a cheusadh.

27 An sin thug saighdearan an uachdarain leo Iosa do thalla a' bhreitheanais, agus chruinnich iad a' bhuidheann uile m'a thimchioll.

28 Agus air dhoibh a rùsgadh[a], chuir iad uime falluing scarlaid.

29 Agus air dhoibh crùn dhroighinn fhigheadh, chuir iad m'a cheann e, agus slat chuilce 'na laimh dheis : agus 'a lùbadh an glùin 'na làthair, rinn iad fanoid air, ag radh, *Gu'm* beannuichear thu, a Righ nan Iudhach.

30 Agus thilg iad smugaid air, agus ghlac iad an t-slat chuilce, agus bhuail iad sa' cheann *e*.

31 Agus an déigh dhoibh fanoid a dheanamh air, thug iad an fhalluing dheth, agus chuir iad 'eudach fein uime, agus thug iad leo e chum a cheusadh.

32 Agus an uair a chaidh iad a mach, fhuair iad duine o Chirene, d'am b'ainm Simon : esan dh'éignich iad chum a chrann-ceusaidhsan a ghiùlan.

33 Agus an uair a thainig iad gu ionad d'an ainm Golgota, sin r'a radh, àite cloiginn,

34 Thug iad dha r'a òl fion geur, measgta le domblas : agus air dha a bhlasadh, cha'n òladh se *e*.

35 Agus an uair a cheus iad e, roinn iad a thruscan eatorra, a' tilgeadh crannchuir : chum gu'n coimhliontadh an ni a thubhradh leis an fhàidh, Roinn iad m' eudach eatorra, agus chuir iad crannchur air mo bhrat.

36 Agus air suidhe dhoibh, rinn iad faire air an sin :

37 Agus chuir iad a chùis-dhìtidh scrìobhta os a chionn, IS E SO IOSA RIGH NAN IUDHACH.

38 An sin cheusadh maille ris dà ghaduiche[b] ; fear air a laimh dheis, agus fear eile air a laimh chlì.

39 Agus thug iadsan a bha dol seachad toibheum dha, a' crathadh an ceann,

40 Agus ag radh, Thusa a leagas an teampull, agus a chuireas suas an tri laithibh e, fòir ort fein : ma 's tu Mac Dhé, thig a nuas o'n chrann-cheusaidh.

41 Mar an ceudna thubhairt na h-ard shagairt, maille ris na scrìobhuichibh, agus na seanairibh, a' fanoid air,

[u] *ionracan.* [a] *eudach a thoirt dheth.* [b] *dà fhear-reubainn, dà chreachadair.*

[illegible] Shaor e [illegible]oin' eile, e fein a
[illegible] comasach e: ma 's e
[illegible] thigeadh e nis a nuas
[illegible]aidh, agus creididh
[illegible]
[illegible]óigh an *Dia*; saor-
[illegible] ma ta toil aige dha:
[illegible] Is mise Mac Dhé.
[illegible] thug na gaduichean a
[illegible]is, am beum ceudna
[illegible]
[illegible] t-seathadh uair bha
[illegible] tìr uile gus an naoth-
[illegible]
46 Agus mu thimchioll na naoth-
adh uaire dh'éigh Iosa le guth ard,
ag radh, Eli, eli, lama sabachtani? 's e
sin r'a radh, Mo Dhia, mo Dhia,
ar son a thréig thu mi?
47 Agus air cluinntinn sin do
chuid diubhsan a bha 'nan seasamh
an sin, thubhairt iad, A ta *'m fear so*
glaodhaich air Elias.
48 Agus air ball ruith a h-aon
diubh, agus ghabh e spong, agus lìon
e do fhìon geur i, agus air dha a
cur air slait chuilce, thug e dha r'a òl.
49 Ach thubhairt càch, Leig dha,
faiceamaid an dthig Elias g'a thear-
nadh.
50 Agus an uair a dh'éigh Iosa a
rìs le glaodh mòr, thug e suas a spiorad.
51 Agus feuch, reubadh brat-roinn
an teampuill 'na dhà *chuid*, o mhull-
ach gu iochdar; agus chriothnuich an
talamh, agus sgoilteadh na creagan,
52 Agus dh'fhosgladh na h-uaigh-
ean, agus dh'éirich mòran do chorp-
aibh nan naomh, a bha 'nan codal,
53 Agus chaidh iad a mach as na
h-uaighibh an déigh aiseirighsan, a-
gus chaidh iad a steach do'n bhaile
naomha, agus nochdadh iad do mhò-
ran.
54 A nis an uair a chunnaic an
ceannard-ceud, agus iadsan a bha
maille ris a' coimhead[c] Iosa, a'
chrith-thalmhainn, agus na nithe eile
a rinneadh, ghabh iad eagal mòr, ag
radh, Gu firinneach b'e so Mac Dhé.
55 Agus bha an sin mòran bhan
(ag amharc am fad,) a lean Iosa o
Ghalile, a' frithealadh dha:
56 Am measg an robh Muire Mag-
dalen, a[illegible]
agus Io[illegible]
bede.
57 A[illegible]
thainig [illegible]
d'am b'ainm Iosep[illegible]
dheisciobul aig Iosa mar an ceudna.
58 Chaidh esan gu Pilat, agus
dh'iarr e corp Iosa: an sin dh'àithn
Pilat an corp a thabhairt *da*.
59 Agus ghlac Ioseph an corp, a-
gus *phaisg* e ann an lìon-eudach fìor-
ghlan e.
60 Agus chuir se e 'na uaigh nuadh
fein, a chladhaich e ann an *carraig*:
Agus charuich e clach mhòr gu do-
rus na h-uaighe, agus dh'imich e
roimhe.
61 Agus bha Muire Magdalen, a-
gus a' Mhuire eile 'nan suidhe fa
chomhair na h-uaighe.
62 A nis air an la màireach, an
la'n déigh an ulluchaidh, chruinnich-
eadh na h-ard shagairt agus na Phair-
isich gu Pilat,
63 Ag radh, A thighearn, is cuimh-
ne leinn an uair a bha am mealltair
ud fathast beo, gu'n dubhairt e, Ei-
ridh mi'n déigh thri laithean.
64 Orduich uime sin an uaigh a
bhi air a coimhead gu cinnteach gus
an treas la, air eagal gu'n dthig a
dheisciobuil san oidhche, agus gu 'n
goid iad leo e, agus gu 'n abair iad
ris an t-sluagh, Dh'éirich e o na
marbhaibh: (Agus mar sin bithidh am
mearachd deireannach ni 's miosa
na'n ceud *mhearachd*.
65 Thubhairt Pilat riu, Tha faire
agaibh; imichibh, deanaibh *an uaigh*
co tearuinte 's is aithne dhuibh.
66 Agus dh'imich iad agus rinn
iad an uaigh cinnteach, a' cur seula
air a' chloich, maille ri faire.

CAIB. XXVIII.

1 *Ta aiseirigh Chriosd air a cur an*
céill do na mnaibh: 9 *nochd Criosd*
e fein doibh; 11 *thug na h-ard shag-*
airt airgiod do na saighdearaibh chum
gu'n abradh iad gu'n do ghoideadh as
'uaigh e, &c.

AN déigh na sàbaid, aig briseadh
na fàire air a cheud *là* do'n

[c] *gleidheadh.*

t-seachduin, thainig Muire Magdalen,
agus a' Mhuire eile, a dh'fhaicinn na
h-uaighe.
2 Agus feuch, bha crith-thalmhainn
mhòr ann; oir thainig aingeal an
Tighearna nuas o nèamh, agus air
teachd dha, charuich e a' chlach o'n
dorus, agus shuidh e oirre.
3 Agus bha a ghnùis mar dhealanach,
agus eudach geal mar shneachda.
4 Agus air eagal roimhe chrioth-
nuich an luchd coimhid[d], agus chaidh
iad an riochd mairbh.
5 Ach fhreagair an t-aingeal agus
thubhairt e ris na mnaibh, Na biodh
eagal oirbhse: oir a ta fhios agam gu
bheil sibh ag iarruidh Iosa, a chaidh
cheusadh.
6 Cha'n'eil e 'n so; oir dh'éirich e,
mar a thubhairt e: thigibh, faicibh an
t-àit an robh an Tighearna 'na luidhe.
7 Agus imichibh gu luath, agus inn-
sibh d'a dheisciobluibh gu'n d'éirich
e o na marbhaibh: agus feuch, tha e
dol roimhibh do Ghalile, an sin chi
sibh e, feuch, thubhairt mise ribh e.
8 Agus dh'imich iad gu luath o'n
uaigh, le h-eagal agus mòr ghair-
deachas, agus ruith iad a dh'innseadh
d'a dheisciobluibh.
9 Agus ag imeachd dhoibh-san a
dh'innseadh d'a dheisciobluibh, feuch,
thachair Iosa fein orra, ag radh,
Fàilte dhuibh. Agus thainig iad am
fagus da, agus rug iad air a chosaibh,
agus thug iad urram dha[e].
10 An sin thubhairt Iosa riu, Na
biodh eagal oirbh: imichibh, abraibh
ri m' bhraithribh iadsan a dhol do Ghal-
ile, agus an sin chi iad mi.
11 Agus an uair a bha iadsan ag
imeachd, feuch, thainig cuid do'n
luchd faire do'n bhaile, agus nochd
iad do na h-ard shagartaibh gach ni
a thachair.
12 Agus air cruinneachadh dhoibh-
san an ceann a chéile maille ris na
seanairibh, agus air gabhail comhair-
le dhoibh, thug iad mòran airgid do
na saighdearaibh,
13 Ag radh, Abraibhse gu'n
d'thainig a dheisciobuil anns an oidh-
che, agus gu'n do ghoid iad e, an uair
a bha sinne 'nar codal.
14 Agus ma chluinneas an t-uachd-
aran so, cuiridh sinne impidh air, a-
gus ni sinn sibhse tearuinte.
15 Agus ghabh iad an t-airgiod, a-
gus rinn iad mar a theagaisgeadh
dhoibh: agus a ta a'chainnt so air a
h-aithris am measg nan Iudhach gus
an là'n diugh.
16 An sin chaidh an t-aon deis-
ciobul deug do Ghalile, do'n bheinn
far an d'orduich Iosa dhoibh.
17 Agus an uair a chunnaic iad e,
thug iad urram dha[e]: ach bha cuid
aca fa amharus.
18 Thainig Iosa, agus labhair e riu,
ag radh, Thugadh dhomhsa gach uile
chumhachd air nèamh agus air tal-
amh.
19 Uime sin imichibhse, agus dean-
aibh deisciobuil do[f] gach uile chin-
neach, 'gam baisteadh ann an ainm
an Athar, agus a' Mhic, agus an
Spioraid naoimh:
20 A teagasg dhoibh gach uile ni-
the a dh'àithn mise dhuibh a choimh-
ead: Agus feuch, a ta mise maille
ribh a ghnàth, gu deireadh an t-saogh-
ail. Amen.

AN SOISGEUL A REIR MHARCUIS.

CAIB. I.

1 *Dreuchd*[g] *Eoin Bhaisde.* 9 *A ta*
Iosa air a bhaisteadh: 14 *A ta e*
searmonachadh; 16 *A' gairm*
Pheadair, Aindreais, Sheumais agus
Eoin, &c.

TOISEACH Soisgeil Iosa Criosd
Mhic Dhé:
2 A réir mar a ta e sgrìobhta anns
na fàidhibh, Feuch, cuiream mo
theachdaire roimh do ghnùis, a dh'ull-
uicheas do shlighe romhad.

[d] *luchd faire.* [e] *rinn iad aoradh dha.* [f] *fompoichibh, teagaisgibh.* [g] Oifig.

3 *Guth an ti a'dh'éigheas anns an*
[illegible] *bh slighe an Tigh-*
[illegible] *a cheumanna dir-*
[illegible]
4 [illegible] a' baisteadh anns an
[illegible] searmonachadh bais-
[illegible] ais, chum maithean-
[illegible]
5 [illegible] h a mach d'a ionn-
[illegible] uile, agus luchd-ait-
[illegible] lcim, agus bhaisteadh
[illegible] an amhuinn *Iordain,*
[illegible] m peacanna.
6 [illegible] Eoin air eudachadh[i]
[illegible] ial, agus crios leathair
m'a leasruidh; agus bu bhiadh dha
locuist agus mil fhiadhuich.
7 Agus shearmonaich e, ag radh, A
ta neach a' teachd a'm' dhéigh a's
cumhachdaiche na mise, neach nach
airidh mise air *cromadh sìos agus*
barr-iall a bhròg *fhuasgladh.*
8 *Bhaist mise gu dearbh sibh le*
h-uisge: ach baistidh esan sibh leis
an Spiorad Naomha.
9 Agus tharladh anns na laithibh
sin, gu'n d'thainig Iosa o Nasaret
Ghalile, agus bhaisteadh e le h-Eoin
ann an Iordan.
10 Agus air ball an uair a chaidh e
suas as an uisge, chunnaic e na nèamh-
an air am fosgladh, agus an Spiorad
mar cholman a' teachd a nuas air.
11 Agus thainig guth o nèamh,
ag radh, Is tusa mo Mhac gràdhach,
am bheil mo mhòr thlachd.
12 Agus air ball tharruing an Spior-
ad e do'n fhàsach.
13 Agus bha e 'n sin san fhàsach
dà fhichead latha air a bhuaireadh
le Satan, agus bha e maille ris na
fiadh bheathaichibh, agus fhritheil na
h-aingil dha.
14 Agus an déigh Eoin a chur am
prìosun, thainig Iosa do Ghalile, a'
searmonachadh' soisgeil rioghachd
Dhé.
15 Agus ag radh, Choimhlionadh
an aimsir, agus a ta rioghachd Dhé
am fagus; deanaibhse aithreachas, a-
gus creidibh an soisgeul.
16 *Agus air dha bhi 'g imeachd ri*
taobh fairge Ghalile, chunnaic e Si-
mon, agus [illegible]
ti[illegible]
g[illegible]
17 Agus [illegible]
a[illegible]
g[illegible]
18 Agus [illegible]
lìonta, agus [illegible]
19 Agus an [illegible]
air aghaidh as sin, chunnaic e Seum-
as *mac* Shebede, agus Eoin a bhrà-
thair, agus iad san luing a' càradh an
lìonta.
20 Agus *air ball ghoir* e iad, agus
dh'fhàg iad Sebede an *athair* san luing
maille ris an luchd tuarasdail, agus
lean iad esan.
21 Agus chaidh iad a steach do
Chapernaum, agus air ball air dha dol
a stigh do'n t-sionagog[l] air an t-sà-
baid, *theagaisg* e.
22 Agus ghabh iad iongantas r'a
theagasg: oir bha e 'gan teagasg
mar neach aig an robh ùghdarras, a-
gus cha b'ann mar na scrìobhuich-
ean.
23 Agus bha 'nan sionagog-san
neach anns an robh spiorad neo-ghlan,
agus ghlaodh e,
24 Ag radh, Leig leinn; ciod ar
gnothuch-ne riut, Iosa o[m] Nasaret?
an d'thainig thu g'ar sgrios-ne? Is
aithne dhomh cò thu, aon naomha
Dhé.
25 Agus chronuich Iosa e, ag radh,
Bi d' thosd, agus thig a mach as.
26 Agus an uair a reub an spiorad
neo-ghlan e, agus a ghlaodh e le guth
ard, thainig e mach as.
27 Agus ghabh iad mòr iongantas
uile, ionnus gu 'n robh iad a' cur na
ceiste *so* air a chéile, ag radh, Ciod e
so? Ciod e an teagasg nuadh so?
oir le h-ùghdarras a ta e toirt orduigh
eadhon do na spioradaibh neo-ghlana,
agus tha iad ùmhal dha.
28 Agus chaidh a chliu air ball a
mach air feadh na tìre uile timchioll
Ghalile.
29 Agus gun dàil, air dhoibh dol
a mach as an t-sionagog, chaidh iad a
steach do thigh Shimoin agus Ain-
dreais, maille ri Seumas agus Eoin.

h *luchd-àitich.* i *air a chòmhdach.* l *tigh-aoraidh.*
m *bho, a.*

30 Ach bha màthair-chéile Shimoin 'na luidhe ann am fiabhrus; agus ghrad labhair iad ris uimpe.

31 Agus thainig esan agus thog e i, a breith air laimh oirre; agus air ball dh'fhàg am fiabhrus i, agus fhritheil i dhoibh.

32 Agus an uair a bha 'm feasgar ann, air do'n ghréin dol fuidhe, thug iad d'a ionnsuidh iadsan uile a bha euslan, agus iadsan anns an robh deamhain.

33 Agus bha 'm baile uile air a chruinneachadh chum an doruis.

34 Agus leighis e mòran air an robh iomadh gnè eucaile, agus thilg e mach mòran dheamhan, agus cha d'fhulaing e do na deamhnaibh labhairt, airson gu'm b'aithne dhoibh [n] e.

35 Agus air dha éirigh sa' mhaduinn, fada roimh là, chaidh e mach, agus dh'imich e gu àite fàsail [o], agus rinn e ùrnuigh an sin.

36 Agus lean Simon, agus an dream a bha maille ris e.

37 Agus air fhaotainn dhoibh thubhairt iad ris, A ta gach uile neach ga d'iarraidh.

38 Agus thubhairt esan riu, Rachamaid [p] a dh'ionnsuidh nam bailte eile laimh ruinn, chum as gu'n searmonaich mi an sin mar an ceudna: oir is ann a chum na crìche so thainig mise mach.

39 Agus shearmonaich e 'nan sionagogaibh air feadh Ghalile uile, agus thilg e mach na deamhain.

40 Agus thainig lobhar d'a ionnsuidh, a' guidhe air, agus a'lùbadh a ghlùn da, agus ag radh ris, Ma's àill leat, tha thu comasach air mise a dheanamh glan.

41 Agus ghabh Iosa truas mòr dheth [r], agus air sìneadh a mach a laimhe, bhean e ris, agus thubhairt e ris, Is àill leam, bi-sa glan.

42 Agus co luath 's a labhair e, air ball dh'fhalbh an loibhre [s] uaith, agus rinneadh glan e.

43 Agus thug e geur ordugh dha, *agus* air ball chuir e air falbh e;

44 Agus thubhairt e ris, Feuch nach innis thu bheag do neach air bith: ach imich, nochd thu fein do'n t-sagart, agus tabhair mar iobairt air son do ghlanaidh na nithe a dh'aithn Maois, mar fhianuis dhoibh.

45 Agus air dhasan dol a mach, thòisich e air innseadh gu ro fhollaiseach, agus air a' chùis a sgaoileadh m'an cuairt, air chor as nach feudadh Iosa dol tuilleadh gu follaiseach a steach do'n bhaile; ach bha e mach ann an àitibh uaigneach: agus thainig iad d'a ionnsuidh as gach aird.

CAIB. II.

1 *Leighis Criosd neach air an robh am pairilis:* 14 *Tha e gairm Mhata o àite togail na cìse,* 16 *ag itheadh maille ri cìs-mhaoraibh agus ri peacachaibh, &c.*

AGUS an déigh laithean àraidh, chaidh e a ris a steach do Chapernaum; agus chualas esan a bhi san tigh.

2 Agus air ball chruinnicheadh mòran an ceann a chéile, air chor as nach robh àit a chumadh *iad*, eadhon timchioll an doruis: agus labhair e am focal riu.

3 Agus thainig iad, a' tabhairt d'a ionnsuidh neach air an robh am pairilis, air a ghiùlan le ceathrar.

4 Agus a chionn nach b'urrainn iad teachd am fagus da leis an t-sluagh, rùisg iad mullach an tighe, anns an robh e: agus air dhoibh a tholladh, leig iad sìos an leabadh air an robh an neach a bha tinn leis a' phairilis 'na luidhe.

5 Air do Iosa an creidimh-san fhaicinn, thubhairt e ris an neach air an robh am pairilis, A mhic, tha do pheacaidh air am maitheadh dhuit.

6 Ach bha droing àraidh [t] do na sgrìobhuichibh 'nan suidhe an sin, agus iad a' reusonachadh 'nan cridhibh fein:

7 C'arson a ta am fear so a' labhairt toibheim mar so? Co dh'fheudas peacaidh a mhaitheadh ach Dia a mhàin?

8 Agus air ball air aithneachadh do Iosa 'na spiorad fein gu'n robh iadsan a' reusonachadh mar sin ionn-

[n] *dhaibh.* [o] *diomhair, uaigneach.* [p] *imicheamaid, theirigeamaid.* [r] *ris.* [s] *muire.* [t] *àraid.*

na féin, thubhairt e riu, C'ar son a ta [illegible]
sibh a' reusonachadh nao nithe [illegible]
ann bhur cridhe?
9 [illegible]
[illegible]
[illegible]
[illegible]
[illegible]
10 [illegible]
[illegible]
[illegible]
[illegible]
[illegible]
11 A deirim riut, Eirich, agus tog
do leabadh, agus imich do d' thigh.
12 Agus dh'éirich esan air ball, a-
gus thog e an leabadh, agus chaidh e
mach 'nam fianuis uile, ionnus gu'n
robh mòr iongantas orra uile, agus
gu'n do ghlòruich iad Dia, ag radh,
Cha'n fhaca sinne riamh a leithid so.
13 Agus chaidh e mach a ris ri
taobh na mara, agus thainig an sluagh
uile d'a ionnsuidh, agus theagaisg e
iad.
14 Agus ag dol seachad da, chun-
naic e Lebhi *mac* Alpheuis 'na shuidhe
aig àite togail na cìse, agus thubhairt
e ris, Lean mise. Agus dh'éirich e,
agus lean se e.
15 Agus tharladh, 'nuair a shuidh
Iosa chum bìdh 'na thigh-san, gu'n
do shuidh mòran chis-mhaor agus
pheacach maille ri Iosa, agus r'a
dheisciobluibh: oir bha mòran ann,
agus lean iad e.
16 Agus an uair a chunnaic na
scriobhuichean agus na Phairisich e-
san ag itheadh maille ri cìs-mhaoraibh
agus ri peacachaibh, thubhairt iad r'a
dheisciobluibh, C'ar son a ta e ag ith-
eadh agus ag òl maille ri cis-mhaor-
aibh agus ri peacachaibh?
17 Agus an uair a chuala Iosa so,
thubhairt e riu, Cha 'n'eil feum aca-
san a ta slàn air an léigh, ach acasan
a ta tinn: cha d'thainig mise a ghairm
nam fìrean, ach nam peacach chum
aithreachais.
18 Agus bu ghnàth le deisciobluibh
Eoin, agus nam Phairiseach a bhi
trosgadh [a]: agus thainig iad, agus
thubhairt iad ris, C'ar son a ta deis-
[illegible] Phairiseach
[illegible]
[illegible] a' trosgadh?
19 Agus thubhairt Iosa riu, Am
[illegible]
[illegible] can-
[illegible] a mhuthean am fear
[illegible] nam fochair [b]? am
feadh a ta am fear nuadh-pòsda aca
maille riu, cha'n fheud iad trosgadh a
dheanamh:
20 Ach thig na laithean anns an
d-thoirear am fear nuadh-pòsda uatha;
agus an sin ni iad trosgadh sna laith-
ibh sin.
21 Agus cha 'n'eil duine sam bith
a dh'fhuaigheas mìr do eudach nuadh
air sean eudach: no, *ma dh'fhuaigh-
eas*, buinidh am mìr nuadh, a chuir-
eadh g'a lìonadh suas, as an t-sean
eudach, agus nithear an reubadh ni's
miosa.
22 Agus cha chuir duine air bith
fion ùr ann an seann searragaibh [c]; no
brisidh am fion nuadh na searragan,
agus dòirtear am fion, agus caillear
na searragan: ach is còir fion nuadh
a chur ann an searragaibh nuadha.
23 Agus tharladh gu'n deachaidh e
troimh [d] na h-achaibh arbhair air latha
na sàbaid, agus thòisich a dheisciob-
uil, ag imeachd dhoibh, ris na diasan
arbhair a spìonadh.
24 Agus thubhairt na Phairisich
ris, Feuch c'ar son a ta iad a' dean-
amh an ni nach 'eil ceaduichte air la-
tha na sàbaid?
25 Agus thubhairt esan riu, Nach
do leugh sibhse riamh ciod a rinn
Daibhidh, 'n uair a bha uireasbhuidh
air, agus ocras air féin agus orrasan a
bha maille ris?
26 Cionnus a chaidh e steach do
thigh Dhé ann an laithibh Abiatair
an ard shagairt, agus a dh'ith e aran
na fianuis [e], nach 'eil ceaduichte do
neach air bith itheadh, ach do na sag-
artaibh, agus a thug e mar an ceud-
na do'n dream a bha maille ris?
27 Agus thubhairt e riu, Dh'or-
duicheadh an t-sàbaid air son an
duine, cha 'n e an duine air son na
sàbaid:

[a] *trasgadh.* [b] *maille riu.* [c] *leathar-bhuidealaibh.* [d] *trid, air feadh.*
[e] *an t-aran taisbeanta.*

28 Air an aobhar sin is Tighearna [f] Mac an duine air an t-sàbaid fein.

CAIB. III.

1 Tha Criosd a' leigheas an duine aig an robh an làmh sheargta, agus mòran a dh'eucailibh eile: 11 a' cronuchadh nan spiorad neo-ghlan, 13 agus a' taghadh a dhà abstol deug, &c.

AGUS chaidh e rìs a steach do'n t-sionagog, agus bha an sin duine aig an robh làmh sheargta.

2 Agus rinn iad faire air, a dh'fheuchainn an leighiseadh se e air latha na sàbaid, chum's gu'm biodh cùis dhitidh aca dha.

3 Agus thubhairt e ris an duine aig an robh an làmh sheargta, Eirich sa' mheadhon.

4 Agus thubhairt e riu, Am bheil e ceaduichte maith a dheanamh air laithibh na sàbaid, no olc? anam a thearnadh, no a sgrios? ach dh'fhan iadsan 'nan tosd.

5 Agus an uair a dh'amhairc e m'an cuairt orra le feirg [g], air dha bhi doilich air son cruais an cridhe, thubhairt e ris an duine, Sìn a mach do làmh. Agus shìn e mach i: agus rinneadh slàn i mar an *làmh* eile.

6 Agus chaidh na Phairisich a mach, agus ghabh iad comhairle air ball maille ri luchd-leanmhuinn Herod 'na aghaidhsan, cionnus a dh'fheudadh iad a sgrios [h].

7 Ach chaidh Iosa maille r'a dheisciobluibh a leth chum na mara: agus lean sluagh mòr e o Ghalile, agus o Iudea,

8 Agus o Ierusalem, agus o Idumea, agus o thaobh thall Iordain, agus iadsan a bha timchioll Thiruis agus Shidoin, thainig cuideachd mhòr dhiubh d'a ionnsuidh, 'nuair a chual iad cia mòr na nithe a rinn e.

9 Agus thubhairt e r'a dheisciobluibh, long bheag a bhi feitheamh air, air son an t-sluaigh, chum nach dòmhluicheadh iad e.

10 Oir leighis e mòran, ionnus gu'n do dhlu-theann iad ris, a mheud 's air an robh plàighean, chum as gu'm beanadh iad ris.

11 Agus na spioradan neo-ghlan, an uair a chunnaic iad e, shleuchd iad da, agus ghlaodh iad, ag radh, Is tusa Mac Dhé.

12 Agus thug e sparradh teann [l] dhoibh, nach deanadh iad aithnicht' e.

13 Agus chaidh e suas gu beinn, agus ghairm e iadsan a b'àill leis: agus thainig iad d'a ionnsuidh.

14 Agus dh'orduich e dà fhear dheug, chum 's gu'm biodh iad maille ris, agus gu 'n cuireadh e mach iad a shearmonachadh:

15 Agus gu'm biodh aca cumhachd a leigheas euslainte, agus a thilgeadh a mach dheamhan.

16 Agus air Simon thug e Peadar mar chomh-ainm:

17 Agus Seumas *mac* Shebede, agus Eoin bràthair Sheumais, (agus orra-san thug e Boanerges mar chomh-ainm, 's e sin re radh, Clann na tairneanaich.)

18 Agus Aindreas, agus Philip, agus Bartolomeus, agus Mata, agus Tomas, agus Seumas *mac* Alpheuis, agus Tadèus, agus Simon an Canaanach,

19 Agus Iudas Iscariot, an neach sin a bhrath e: Agus chaidh iad do thigh.

20 Agus chruinnicheadh an sluagh a rìs, ionnus nach robh e 'n comas doibh uiread agus aran itheadh.

21 Agus an uair a chual a chairdean *so*, thainig iad a mach a bhreith air: oir thubhairt iad, Tha e air mhìchéill.

22 Agus thubhairt na scriobhuichean a thainig a nuas o Ierusalem, A ta Beelsebub aige, agus is ann trid phrionnsaidh nan deamhan a ta e tilgeadh a mach dheamhan.

23 Agus air dha 'n gairm d'a ionnsuidh, thubhairt e riu, ann an cosamhlachdaibh, Cionnus a dh'fheudas Satan Satan a thilgeadh a mach?

24 Agus ma bhitheas rioghachd roinnte 'na h-aghaidh fein, cha'n urrainn an rioghachd sin seasamh.

25 Agus ma bhitheas tigh air a roinn 'na aghaidh fein, cha'n urrainn an tigh sin seasamh.

26 Agus ma dh'éireas Satan 'na

[f] *Maighstir.* [g] *diomb.* [h] *mhilleadh.* [i] *bho, ua.* [l] *geur àithne.*

aghaidh fein, agus gu'm bi e roinnte,
cha'n urrainn e seasamh, ach a ta
crioch aige.
27 Cha'n urradh neach air bith
dol a steach do thigh duine làidir, a-
gus 'airneis a thogail leis, mur ceang-
ail e 'n duine làidir an toiseach; agus
an sin creachaidh e a thigh.
28 Gu deimhin a deirim ribh, Gu
maithear na h-uile pheacanna do
chloinn nan daoine, agus gach toi-
bheum a labhras iad.
29 Ach ge b'e labhras toibheum
an aghaidh an Spioraid Naoimh,
cha'n fhaigh e maitheanas a choidhch,
ach a ta e an cunnart peanais[l] shiorr-
uidh.
30 Air son gu'n dubhairt iad,
Tha spiorad neo-ghlan aige.
31 An sin thainig a bhraithrean a-
gus a mhàthair, agus air dhoibh seas-
amh a muigh, *chuir iad fios d'a ionn-
suidh, a' gairm air.*
32 Agus bha 'n sluagh 'nan suidhe
m'a thimchioll, agus thubhairt iad ris,
Feuch, ata do mhàthair agus do
bhràithrean a muigh ga d' iarraidh.
33 Agus fhreagair e iad, ag radh,
Co i mo mhàthair, no mo bhràith-
rean?
34 Agus sheall e m'an cuairt orra-
san a bha 'nan suidhe m'a thimchioll,
agus thubhairt e, Feuch mo mhàthair
agus mo bhràithrean.
35 Oir ge b'e neach a ni toil Dé,
is esan mo bhràthair, agus mo phiu-
thar, agus mo mhàthair.

C A I B. IV.

1 *Cosamhlachd an t-sìoladair, agus a
bhrigh.* 21 *Is coir dhuinn solus ar
n-eolais a phàirteachadh re muinntir
eile.* 26 *Cosamhlachd an t-sìl a ta
fàs ann an uaigneas, &c.*

AGUS thòisich e air teagasg a rìs
làimh ris a' mhuir, agus chruinn-
icheadh sluagh mòr d'a ionnsuidh,
ionnus gu'n deachaidh e steach do
luing, agus gu'n do shuidh e air a'
mhuir; agus bha 'n sluagh uile ri
taobh na mara air tìr.
2 Agus theagaisg e dhoibh mòran
do nithibh ann an cosamhlachdaibh,
agus thubhairt e riu 'na theagasg,
3 Eisdibh, *Feuch, chaidh fear-cuir*[m]
a mach a chur sìl:
4 Agus tharladh an ag cur an t-sìl
da, gu'n do thuit cuid *deth* ri taobh
an rathaid, agus thainig eunlaith an
athair, agus dh'ith iad suas e.
5 Agus thuit cuid eile dheth air
fearann creagach, far nach robh mòr
thalamh aige, agus air ball dh'fhàs e
suas, do bhrigh nach robh doimhne
talmhainn aige.
6 Ach air do'n ghréin éirigh, loisg-
eadh e; agus a chionn nach robh
freumh[n] aige, shearg e as.
7 Agus thuit cuid eile am measg
droighinn, agus dh'fhàs an droighionn
suas, agus thachd se e, agus cha
d'thug e toradh uaith.
8 Agus thuit cuid eile air talamh
maith[o], agus thug e toradh uaith a'
fàs suas agus a' meudachadh; agus
thug e mach, cuid a dheich uiread
fhichead, agus cuid a thri fichead
uiread, agus cuid a cheud uiread *'s a
chuireadh.*
9 Agus thubhairt e riu, An ti aig
am bheil cluasa chum éisdeachd, éisd-
eadh e.
10 Agus an uair a bha e 'na aonar,
dh'fhiosrach iadsan, a bha 'na fhoch-
air maille ris an dà fhear dheug, an
cosamhlachd deth.
11 Agus thubhairt e riu, Dhuibhse
thugadh eòlas a ghabhail air nithibh
dìomhair rioghachd Dhé: ach dhoibh-
san a ta 'n leth muigh nithear gach
ni an cosamhlachdaibh:
12 Chum as ag faicinn doibh gu'm
faic iad, agus nach aithnich iad, agus
ag cluinntinn dhoibh gu'n cluinn
iad, agus nach tuig iad; air eagal àm
air bith gu'm pilleadh iad, agus gu'm
biodh *am* peacaidh air am maitheadh
dhoibh.
13 Agus thubhairt e riu, Nach aith-
ne dhuibh an cosamhlachd so? agus
cionnus ma ta u thuigeas sibh gach
uile chosamhlachd?
14 Tha 'm fear-cuir a' cur an fhoc-
cail.
15 Agus is iad so iadsan ri taobh
an rathaid, anns an cuirear am focal,
an déigh dhoibh a chluinntinn, air ball
a ta Satan a' teachd, agus a' togail leis

[l] *damnaidh, breitheanais.* [m] *sioladair.* [n] *freumhach.* [o] *math.*

an fhocail, a shìol-chuireadh 'nan cridhibh.

16 Agus is iad so iadsan mar an ceudna a chuireadh air fearann creagach; muinntir, an uair a chluinneas iad am focal, a ghabhas e air ball le gairdeachas:

17 Agus cha 'n'eil freumh aca ionnta fein, ach mairidh iad rè sealain; 'na dhéigh sin 'nuair a dh'éireas amhghar[p] no geur-leanmhuinn air son an fhocail, air ball a ta iad a' gabhail oilbheim.

18 Agus is iad so iadsan a chuireadh am measg an droighinn, an dream a dh'éisdeas ris an fhocal;

19 Agus a ta ro chùram an t-saoghail so, agus mealltaireachd saibhreis, agus anamhianna nithe eile teachd a steach, agus a' tachdadh an fhocail, agus nithear neo-thorach e.

20 Agus is iad so iadsan a chuireadh ann an talamh maith, an dream a chluinneas am focal, agus a ghabhas e, agus a bheir a mach toradh, cuid a dheich uiread fhichead, cuid a thri fichead uiread, agus cuid a cheud uiread *'s a chuireadh*.

21 Agus thubhairt e riu, An dthoirear coinneal chum gu'n cuirear i fuidh bheul soithich, no fuidh leabaidh? nach ann a chum a cur ann an coinnleir?

22 Oir cha'n'eil ni air bith foluichte, nach foillsichear; agus cha robh ni air bith an cleith, nach dthig os àird.

23 Ma ta cluasa chum éisdeachd aig neach air bith, éisdeadh e.

24 Agus thubhairt e riu, Thugaibh fa'near ciod a chluinneas sibh: leis an tomhas a thomhaiseas sibh, tomhaisear dhuibh fein; agus bheirear tuilleadh dhuibhse ta 'g éisdeachd.

25 Oir ge b'e neach aig am bheil, bheirear dha: agus ge b'e neach aig nach 'eil, bheirear uaith an ni sin fein a ta aige.

26 Agus thubhairt e, Is amhuil rioghachd Dhé, mar gu'n cuireadh duine sìol anns an talamh,

27 Agus gu'n coidleadh e, agus gu'n éireadh e a dh'oidhch, agus a là, agus gu'n gineadh an sìol, agus gu'm fàsadh e suas, air dòigh nach fhios da.

28 Oir bheir an talamh a mach toradh uaith fein, air tùs am fochann, a rìs an dias, an déigh sin an làn arbhar anns an *déis*.

29 Ach an uair a ta 'n toradh abaich, air ball cuiridh e an corran ann, a chionn gu bheil am fogharadh air teachd.

30 Agus thubhairt e, Ciod *an ni* ri 'n samhluich sinn rioghachd Dhé? no ciod e an cosamhlachd leis an coimhmeas sinn i[r]?

31 *Is* cosmhuil i ri gràinne mustaird, ni, 'nuair a chuirear san talamh e, is lugha do na h-uile phòraibh a ta air talamh.

32 Ach an déigh a chur, fàsaidh e suas, agus cinnidh e ni 's mò na luibh sam bith eile, agus fàsaidh geugan mòra air, ionnus gu'm feud eunlaith an athair nid a dhèanamh fuidh a sgàile.

33 Agus le iomadh d'a leithidibh sin do chosamhlachdaibh labhair e 'm focal riu, a réir mar a b'urrainn iad a chluinntinn.

34 Ach gun chosamhlachd cha do labhair e riu: Agus mhìnich e na h-uile nithe d'a dheisciobluibh fein air leth.

35 Agus thubhairt e riu air an là sin fein, air teachd do'n fheasgar, Rachamaid thairis do'n taobh eile.

36 Agus an uair a sgaoil iad an coimhthional, thug iad leo esan anns an luing mar a bha e, agus bha longa beaga eile 'na fhochair mar an ceudna.

37 Agus dh'éirich stoirm mhòr ghaoith ann, agus leum na tonna a steach do'n luing, air chor as gu'n robh i nis làn.

38 Agus bha esan ann an deireadh na luinge, 'na chodal air cluasaig[s]: agus dhùisg iad e, agus thubhairt iad ris, A mhaighstir, nach 'eil suim agad gu'n caillear sinn?

39 Agus dh'éirich e, agus chronuich e ghaoth, agus thubhairt e ris an fhairge, Tosd, bi sàmhach. An sin luidh a' ghaoth, agus bha fèath[t] mòr ann.

[p] *triobloid.* [r] *an coibhearta ris an coibheartaich sinn i?* [s] *adhartan.* [t] *ciuine.*

40 Agus thubhairt e riu, C'ar son
a ta sibh co eagalach? cionnus nach
'eil creidimh agaibh?
41 Agus ghabh iad eagal ro mhòr,
agus thubhairt iad r'a chéile, Ciod e
an duine so, gu bheil a' ghaoth, agus
an fhairge fein umhal da?

CAIB. V.

*1 An do Chriosd na deamhain a chur
a mach as an duine anns an robh
legion diubh. 13 chaidh iad a stigh
anns na mucaibh. 25 Leighis e
bhean air an robh dortadh fola, 35
agus thog e o na marbhaibh nighean
Iairuis.*

AGUS thainig iad gu taobh eile
na mara, gu dùthaich nan Ga-
darach.
2 Agus an uair a chaidh e mach as
an luing, air ball thachair air as na
h-àitibh-adhlaic, duine anns an robh
spiorad neo-ghlan,
3 Aig an robh a chòmhnuidh sna
h-àitibh-adhlaic, agus cha b'urrainn
neach air bith a cheangal, eadhon le
slabhraidhibh:
4 Oir chaidh a cheangal gu tric le
geimhlibh agus le slabhraidhibh, agus
tharruing e na slabhraidhean as a
chéile, agus mhìn-bhris e na geimh-
lean: Agus cha b'urrainn duine sam
bith a cheannsachadh.
5 Agus bha e ghnàth, a là agus a
dh'oidhche, sna beanntaibh, agus sna
h-ionadaibh-adhlaic, a' glaodhaich, a'
gus 'ga ghearradh fein le clachaibh.
6 Ach an uair a chunnaic e Iosa
fada uaith, ruith e agus shleuchd e
dha,
7 Agus ghlaodh e le guth mòr, a-
gus thubhairt e, Ciod mo ghnothuch-
sa riut, Iosa, a Mhic an Dé is ro
airde? cuiream ort a h-uchd Dé,
gun mo phianadh.
8 (Oir thubhairt e ris, Thig a mach
as an duine, a spioraid neo-ghloin.)
9 Agus dh'fhiosruich e dheth,
Ciod is ainm dhuit? Agus fhreagair
esan, ag radh, Legion is ainm dhomh:
oir a ta sinn mòran ann.
10 Agus ghuidh e gu ro gheur air,
gun e g'an cur a mach as an dùthaich
sin.
11 Agus bha treud mòr mhuc an
sin, ag ionaltradh am fagus do'n
bheinn[u].
12 Agus ghuidh na deamhain uile
air, ag radh, Cuir sinne dh'ionnsuidh
nam muc, chum as gu'n rachamaid a
steach innta.
13 Agus air ball thug Iosa cead
doibh; agus air dol a mach do na
spioradaibh neo-ghlana, chaidh iad a
stigh anns na mucaibh, agus ruith an
treud sìos gu dian le àite cas do'n
fhairge, (bha iad mu thimchioll dà
mhìle) agus thachdadh iad san fhair-
ge.
14 Agus theich iadsan a bha 'g
ionaltradh nam muc, agus dh'innis
iad sin, araon anns a' bhaile, agus
anns an tìr. Agus chaidh iad a mach
a dh'fhaicinn ciod e an ni ud a thach-
air.
15 Agus thainig iad chum Iosa,
agus chunnaic iad an ti anns an robh
an deamhan, agus aig an robh an le-
gion, 'na shuidhe, agus eudach uime,
agus a chiall aige; agus ghabh iad
eagal.
16 Agus dh'innis iadsan a chun-
naic e dhoibh, cionnus a thachair do'n
ti anns an robh an deamhan, agus mu
thimchioll nam muc.
17 Agus thòisich iad ri guidhe
air imeachd a mach as an crìochaibh.
18 Agus air dha dol a stigh san
luing, ghuidh an ti anns an robh an
deamhan air, gu'm feudadh e bhi
maille ris.
19 Gidheadh cha do leig Iosa leis,
ach thubhairt e ris, Imich dhachaidh
dh'ionnsuidh do mhuinntir, agus innis
dhoibh meud nan nithe a rinn an
Tighearna dhuit, agus gu'n d'rinn e
tròcair ort.
20 Agus dh'imich esan, agus thòis-
sich e ri chur an céill ann an Deca-
polis meud nan nithe a rinn Iosa dha:
agus ghabh iad iongantas uile.
21 Agus air dol do Iosa a rìs
thairis anns an luing do'n taobh eile,
chruinnicheadh sluagh mòr d'a ionn-
suidh; agus bha e làimh ris a' mhuir.
22 Agus feuch, thainig aon do
uachdaranaibh nan sionagog, d'am
b'ainm Iairus, agus an uair a chunn-

[u] *do na sleibhtibh.*

ai'c e esan, leig se e fein sìos aig a
chosaibh.
23 Agus ghuidh e gu dùrachdach
air, ag *radh*, A ta mo nighean bheag
ann an cunnart grad bhàis; thig,
guidheam ort, agus leag do lamhan
oirre chum as gu'n slànuichear i, agus
mairidh i beo.
24 Agus dh'imich *Iosa* maille ris,
agus lean sluagh mòr e, agus dhòmh-
luich iad e.
25 (Agus *bha* bean àraidh *an sin*,
air an robh dòrtadh fola rè dhà
bhliadhna dheug,
26 Agus dh'fhulaing i mòran o
iomadh léigh, agus chaith i na bha
aice, agus cha b'fheairrd i bheag e,
ach gu'm bu mheisd;
27 'Nuair a chual i iomradh air
Iosa, thainig i am measg an t-sluaigh
o chùlaobh, agus bhean i r'a eudach:
28 Oir thubhairt i, Ma dh'fheudas
mi beantuinn ach r'a eudach, slàn-
uichear mi.
29 Agus air ball thiormaicheadh to-
bar a fola: agus dh'aithnich i air a
corp fein, gu'n do leighiseadh i o'n
phlàigh sin.
30 Agus dh'aithnich Iosa air ball
ann fein gu'n deachaidh cumhachd a
mach as, agus air dha tionndadh san
t-sluagh, thubhairt e, Cò a bhean ri
m' eudach?
31 Agus thubhairt a dheisciobuil
ris, A ta thu faicinn gu 'm bheil an
sluagh ga d' dhòmhlachadh, agus an
abair thu, Cò a bhean rium?
32 Agus dh'amhairc e m'an cuairt
g'a faicinns' a rinn so.
33 Ach air do'n mhnaoi bhi fa eag-
al agus air crith, air aithneachadh
an nì a rinneadh innte, thainig i, agus
leig si i fein sìos 'na làthair, agus
dh'innis i 'n fhìrinn uile dha.
34 Agus thubhairt e rithe, A nigh-
ean, shlànuich do chreidimh thu; im-
ich an sìth, agus bi slàn o d' phlàigh.
35 Am feadh a bha e fathast a' labh-
airt, thainig *droing* o *thigh* uachd-
arain na sionagoige, ag radh, Fhuair
do nighean bàs, c'ar son a chuireadh
tu tuilleadh dragha air a' mhaighstir?
36 Co luath 's a chual Iosa an
comhradh so a labhradh, thubhairt e ri
uachdaran na sionagoige, Na biodh
eagal ort, a mhàin creid.
37 Agus cha d'*fhulaing* e do
neach *air bith* a leantuinn, ach Pead-
ar, agus Seumas, agus Eoin bràth-
air Sheumais.
38 Agus thainig e gu tigh uachd-
arain na sionagoige, agus chunnaic e
'n iomairt[a] agus iadsan a bha gul, a-
gus a' caoineadh gu mòr.
39 Agus air teachd a steach dha,
thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh ris an
iomairt so, agus ri bròn? cha 'n'eil
an nìonag marbh, ach 'na codal.
40 Agus rinn iadsan gàire fochaid
ris: ach air dhasan an cur uile mach,
thug e leis athair agus màthair na
h-inghin, agus iadsan a bha maille ris,
agus chaidh e steach far an robh an
nìonag 'na luidhe.
41 Agus air dha breith air an nìon-
aig air laimh, thubhairt e rithe, Talitha
cumi, 's e sin, air eadar-mhìneachadh,
A chailin, (a deirim riut) éirich.
42 Agus air ball dh'éirich an nìon-
ag, agus dh'imich i; oir bha i dà
bhliadhna dheug *a dh'aois*: agus ghabh
iad iongantas anabarrach.
43 Agus thug e ordugh teann
doibh, nach faigheadh duin' air bith
fios air so; agus dh'àithn e *càileigin*
a thoirt di r'a itheadh.

C A I B. VI.

1 *Rinneadh tàir air Criosd le m'uinn-
tir a dhùcha. 7 Tha e tabhairt do'n
da fhear dheug cumhachd os cionn
spioradà neo-ghlana. 14 Iomadh
barail mu Chriosd. 18 Chuireadh
an ceann do Eoin Baiste, &c.*

AGUS chaidh e mach as sin, agus
thainig e d'a dhùthaich fein,
agus lean a dheisciobuil e.
2 Agus an uair a thainig an t-sà-
baid, thòisich e air teagasg anns an
t-sionagog: agus air do mhòran a
chluinntinn, ghabh iad iongantas, ag
radh, Cia uaith a ta na nithese aig an
fhear so? Agus ciod e an gliocas so
thugadh dha, gu bheil a leithid so do
fheartaibh air an deanamh le lamh-
aibh-san?
3 Nach e so an saor, mac Mhuire,
bràthair Sheumais agus Ioseis, agus

[a] *am buaireas.*

Iudais, agus Shimoin? Agus nach 'eil a pheathraichean so 'nar fochair? Agus fhuair iad oilbheum ann[b].

4 Ach thubhairt Iosa riu, Cha 'n'eil fàidh gun urram, ach 'na dhùthaich fein, agus am measg a chairdean, agus 'na thigh fein.

5 Agus cha robh e 'n comas da miorbhuil air bith a dheanamh an sin, saor o gu 'n do chuir e a làmhan air beagan do mhuinntir a bha tinn, agus gu'n do leighis e *iad*.

6 Agus bha iongantas air air son am mi-chreidimh. Agus chaidh e timchioll nam bailte, a' teagasg.

7 Agus ghairm e chuige an dà fhear dheug, agus thòisich e air an cur a mach dithis agus dithis, agus thug e dhoibh cumhachd air spioradaibh neo-ghlana;

8 Agus dh'àithn e dhoibh gun ni air bith thoirt leo air son na slighe, ach lorg a mhàin; gun mhàla, gun aran, gun airgiod 'nan sporan:

9 Ach bonn-bhròga[c] *bhi* air an cosaibh, agus gun dà chòta bhi umpa.

10 Agus thubhairt e riu, Ge b'e ionad air bith anns an dtheid sibh a steach do thigh, an sin fanaibh gus am falbh sibh as an àite sin.

11 Agus cò air bith iad nach gabh ribh, agus nach éisd ribh, air dhuibh imeachd as an àite sin, crathaibh an duslach a bhitheas f'ar cosaibh, mar fhianuis 'nan aghaidh. Gu deimhin a deirim ribh, Gur so-iomchair'[d] a bhitheas e do Shodom agus do Ghomorra ann an là a' bhreitheanais, na do'n bhaile sin.

12 Agus chaidh iad a mach, agus shearmonaich iad gu'n deanadh *daoine* aithreachas.

13 Agus thilg iad a mach mòran dheamhan, agus dh'ung iad le h-ola mòran a bha tinn, agus leighis siad iad.

14 Agus chual Herod an righ *uime*, (oir chaidh ainm am follus) agus thubhairt e, A ta Eoin Baiste air éirigh o na marbhaibh, agus uime sin a ta feartan air an oibreachadh leis.

15 Thubhairt cuid eile, Gur e Elias a t'ann. Agus thubairt cuid eile, Gur fàidh a t'ann, no mar aon do na fàidhibh.

16 *Ach* an uair a chual Herod *so*, thubhairt e, 'S e Eoin d'an do chuir mise an ceann, a th'ann; dh'éirich e o na marbhaibh.

17 Oir chuir Herod fein a mach agus ghlac e Eoin, agus cheangail e ann am priosun e, air son Herodiais bean phòsda Philip, a bhràthar fein, do bhrigh gu'n do phòs e i.

18 Oir thubhairt Eoin ri Herod, Cha 'n'eil e ceaduichte dhuit bean do bhràthar a bhi agad.

19 Uime sin bha diom[e] mòr aig Herodias ris, agus bu mhiann leatha a chur gu bàs, ach cha b'urrainn i.

20 Oir bha eagal Eoin air Herod, air dha fios a bhi aige gu'm bu duine ceart agus naomh e, agus thug e fa'near[f] e, agus air dha a chluinntinn, rinn e mòran do nithibh *air a chomhairle*. agus dh'éisd e ris gu toileach.

21 Agus air teachd do là iomchuidh, rinn Herod, air comh-ainm an là an d'rugadh e, suipeir d'a uaislibh, agus d'a ard cheannardaibh, agus do mhaithibh Ghalile:

22 Agus an uair a chaidh nighean Herodiais so steach, agus a rinn i, dannsa thaitinn i ri Herod agus riusan a shuidh maille ris, agus thubhairt an righ ris a' chailin, Iarr ormsa ge b'e ni is àill leat, agus bheir mi dhuit e.

23 Agus thug e mionnan di, Ge b'e ni dh'iarras tu orm, bheir mi dhuit e, gu leth mo rioghachd.

24 Agus an uair a chaidh i mach thubhairt i r'a màthair, Ciod a dh'iarras mi? Agus thubhairt ise, Ceann Eoin Bhaiste.

25 Agus chaidh i air ball le cabhaig a steach a dh'ionnsuidh an righ, agus dh'iarr i, ag radh, Is àill leam gu'n d'thugadh tu dhomh gun dàil ceann Eoin Bhaiste air mèis.

26 Agus bha 'n righ ro dhoilich; *gidheadh* air son a mhionnan, agus an dream a bha 'nan suidhe maille ris, cha robh toil aige a diultadh.

27 Agus air ball chuir an righ a mach fear-millidh, agus dh'àithn e a

[b] *ghabh iad oilbheum ris.* [c] *cuarain.* [d] *so-fhulaing.* [e] *diomb.* [f] *choimhid se.*

cheann a thoirt a steach: agus dh'im-
ich esan agus thug e 'n ceann deth
anns a' phriosun.
28 Agus thug e cheann leis air
mèis, agus thug e do'n chailin[g] e: a-
gus thug an cailin d'a màthair e.
29 Agus an uair a chual a dheis-
ciobuil *sin*, thainig iad agus thog iad
a chorp, agus chuir iad ann an uaigh e.
30 Agus chruinnicheadh na h-Ab-
stoil chum Iosa, agus dh'innis iad da
na h-uile nithe, araon gach ni a rinn
iad, agus gach ni a theagaisg iad.
31 Agus thubhairt e riu, Thigibhs'
air leth do àit uaigneach, agus gabh-
aibh fois car tamuill bhig: Oir bha
mòran a' teachd agus a' dol, agus
cha robh ùine aca uiread as biadh
itheadh.
32 Agus chaidh iad gu àite fàsail
ann an luing air leth.
33 Agus chunnaic an sluagh iad-
san a' falbh, agus dh'aithnich mòran
e, agus ruith iad d'an cois as na bail-
tibh uile an sin, agus bha iad rompa,
agus chruinnicheadh iad d'a ionn-
suidh.
34 Agus an uair a chaidh Iosa mach,
chunnaic e sluagh mòr, agus ghabh e
truas mòr dhiubh, a chionn gu'n robh
iad mar chaoraich gun bhuachaille
aca: agus thòisich e air mòran do
nithibh a theagasg dhoibh.
35 Agus an uair a bha nis mòran
do'n là air dol seachad[h], thainig a
dheisciobuil d'a ionnsuidh, ag radh,
A ta 'n t-àite so fàs, agus a ta nis mòr-
an do'n là *air dol thairis:*
36 Leig air falbh iad, chum gu
dtheid iad do'n tìr m' an cuairt, a-
gus do na bailtibh, agus gu ceannaich
iad biadh dhoibh fein: oir cha 'n'eil
ni air bith aca r'a itheadh.
37 Ach fhreagair esan, agus thubh-
airt e riu, Thugaibhse dhoibh r'a ith-
eadh, Agus thubhairt iadsan ris, An
dtheid sinn agus an ceannaich sinn
luach dhà cheud peghinn a dh'aran,
chum gu d'thugamaid dhoibh ni r'a
itheadh?
38 Ach thubhairt esan riu, Cia lion
builinn[i] a ta agaibh? rachaibh agus
faicibh. Agus air faotainn fios doibh,
thubhairt iad, Cùig, agus dà iasg.
39 Agus dh'àithn e dhoibh a thoirt
orra uile suidhe sìos 'nan cuideachd-
aibh air an fheur uaine.
40 Agus shuidh iad sìos 'nam buidh-
nibh fa leth, 'nan ceudaibh, agus 'nan
leth-cheudaibh.
41 Agus air dha na cùig builinn-
ean agus an dà iasg a ghabhail, agus
amharc suas gu nèamh, bheannuich,
agus bhris e na builinnean, agus thug
e d'a dheisciobluibh *iad*, chum gu'n
cuireadh iad rompa iad; agus roinn
e 'n dà iasg orra uile.
42 Agus dh'ith iad uile, agus shàs-
uicheadh iad.
43 Agus thog iad dà chliabh dheug
làn do'n bhiadh bhriste, agus do na
h-iasgaibh.
44 Agus b'iad an dream a dh'ith
do na builinnibh cùig mìle fear.
45 Agus air ball choimh-éignich e
a dheisciobuil gu dol anns an luing, a-
gus dol roimhe dh'ionnsuidh na taoibh
thall gu Betsaida, gus an cuireadh e
an sluagh air falbh.
46 Agus an uair a chuir e air falbh
iad, chaidh e gu beinn a dheanamh
ùrnuigh.
47 Agus an uair a bha 'n t-anmoch
ann, bha 'n long am meadhon na ma-
ra, agus esan 'na aonar air tìr.
48 Agus chunnaic e iadsan air am
pianadh ag iomramh; oir bha ghaoth
'nan aghaidh: agus thainig e d'an
ionnsuidh mu thimchioll na ceathramh
faire do'n oidhche, ag imeachd air a'
mhuir, agus b'àill leis dol seachad
orra.
49 Ach an uair a chunnaic iadsan
e 'g imeachd air a' mhuir, shaoil iad
gu 'm bu tannasg a bh'ann; agus
ghlaodh iad.
50 (Oir chunnaic iad uile e, agus
bha iad fa bhuaireas) Agus air ball
labhair e riu, agus thubhairt e riu,
Biodh misneach mhaith agaibh, is mise
ta ann, na biodh eagal oirbh.
51 Agus chaidh e suas d'an ionn-
suidh do'n luing, agus luidh a' ghaoth:
agus bha uamhas mòr thar tomhas
orra, agus ghabh iad iongantas.
52 Oir cha dthug iad fa'near
mìorbhuil nam builinn; oir bha 'n
cridhe air a chruadhachadh.

[g] *ghruagaich, nìonaig.* [h] *air a chaitheadh.* [i] *aran.*

53 Agus an uair a chaidh iad
thairis, thainig iad gu *talamh* Ghene-
saret, agus *tharruing iad* gu tìr.
54 Agus an uair a thainig iad a
mach as an *luing*, air ball dh'aithnich
iad e,
55 Agus ruith iad air feadh na
tìre sin uile m'an cuairt, agus thòisich
iad air an droing a bha tinn a ghiùlan
m'an cuairt air leapaichibh, ge b'e àit
an cual iad esan a bhi.
56 Agus ge b'e air bith bailte, no
cathraiche, no dùthaich an deachaidh
e steach, chuir iad na daoine tinn air
na sràidibh, agus ghuidh iad air gu'm
feudadh iad beantuinn a mhàin ri
iomall 'eudaich: agus a mheud 's a
bhean ris, leighiseadh iad.

CAIB. VII.

1 *A ta na Phairisich a' faghail croin
do na deisciobluibh, air son gu'n robh
iad ag itheadh le làmhaibh neo-ionn-
laidte:* 6 *A ta Criosd air an làimh
eile a' faghail croin doibhsan air son
gu'n robh iad a' briseadh àitheanta
Dhé le teagasg, agus gnàthuchadh
dhaoine, &c.*

AGUS chruinnicheadh na Phair-
isich d'a ionnsuidh, agus dream
àraidh do na scrìobhuichibh a thainig
o Ierusalem.
2 Agus an uair a chunnaic iad
cuid d'a dheisciobluibh ag itheadh ar-
ain le làmhaibh salacha (sin r'a radh
neo-ionnlaidte,) fhuair iad cron *doibh*.
3 Oir cha 'n ith na Phairisich, a-
gus na h-Iudhaich uile, biadh, mur
ionnlaid iad an làmha gu minic, a'
coimhead beul-aithris nan seanair.
4 Agus *air dhoibh teachd* o'n mharg-
adh, mur tum[l] siad iad, cha 'n ith
iad. Agus a ta mòran do nithibh eile
a ghabh iad orra a choimhead, *mar a ta*
nigheadh chupan, agus phota, agus
shoithiche umha[m], agus leapaichean[n].
5 An sin dh'fheòraich na Phairis-
ich agus na scrìobhuichean dheth,
C'ar son nach 'eil do dheisciobuil ag
imeachd a réir beul-aithris nan sean-
air, ach a ta iad ag itheadh arain le
làmhaibh neo-ionnlaidte?
6 Ach fhreagair esan agus thubh-
airt e riu, Is maith a rinn Esaias
fàidheadaireachd mu'r timchioll's, a
chealgairean, a réir mar a ta e scrìobh-
ta, *A ta am pobull so toirt onoir*
dhomhsa le 'm *bilibh*, ach a ta an
cridhe fada uam.
7 Ach is ann gu dìomhanach a ta
iad a' toirt aoraidh dhomhsa, a' *teag-
asg* àitheanta dhaoine mar theag-
asg.
8 Oir air dhuibh àithne Dhé a
thréigsinn, a ta sibh a' cumail orduch-
aidh dhaoine, *mar a ta* nigheadh pho-
ta agus chupan: agus mòran eile
d'an leithidibh sin a ta sibh a' dean-
amh.
9 Agus thubhairt e riu, Is maith
a ta sibh a' cur air cùl àithne Dhé,
chum gu'n coimhid sibh bhur ord-
uchadh fein.
10 Oir thubhairt Maois, Thoir on-
oir do t'athair, agus do d' mhàthair:
agus, Ge b'e neach a mhalluicheas
athair no màthair, cuirear gu cinnt-
each gu bàs e.
11 Ach their sibhse, Ma their
neach r'a athair, no r'a mhàthair,
Biodh e 'na Chorban, sin r'a radh,
'na thiodhlacadh *do'n teampull*, ge b'e
ni leis am faigheadh tu tairbhe uamsa;
12 Nach leig sibh dha as sin suas
ni sam bith a dheanamh air son 'athar,
no a mhàthar;
13 A' cur focail Dhé an neo-brigh
le bhur beul-aithris fein, a dh'aithris
sibh: agus mòran d'an leithidibh sin
do nithibh a ta sibh a' deanamh.
14 Agus air gairm an t-sluaigh
uile d'a ionnsuidh, thubhairt e riu,
Eisdibh riums' uile, agus tuigibh.
15 Cha 'n'eil ni sam bith o'n taobh
a muigh do'n duine, a theid a steach
ann, d'am bheil e 'n comas a shalach-
adh; ach na nithe ta teachd a mach
as, is iad sin a ta salachadh an duine.
16 Ge b'e aig am bheil cluasa chum
éisdeachd, éisdeadh e.
17 Agus an uair a chaidh e steach
do'n tigh o'n t-sluagh, chuir a dheis-
ciobuil ceisd air mu thimchioll a'
chosamhlachd.
18 Agus thubhairt e riu, Am bheil
sibhse mar so fathast gun tuigse?
Nach 'eil fhios agaibh, ge b'e ni air
bith a theid a steach san duine o'n

[l] *ionnlaid.* [m] *prais.* [n] *àiteacha-suidhe.*

leth a muigh, nach 'eil e 'n comas da esan a shalachadh?

19 Do bhrigh nach dtheid e steach d'a chridhe, ach do'n bhroinn, is theid e mach do'n t-slochd shalchair, a'glanadh gach uile bhìdh.

20 Agus thubhairt e, Is e an ni a thig a mach as an duine, a shaluicheas an duine.

21 Oir is ann o'n taobh a stigh, a cridhe dhaoine, a thig a mach droch smuaintean, adhaltrannas, strìopachas, mortadh,

22 Goid, sannt, aingidheachd, mealltaireachd, macnus[o], droch shùil, toibheum, uabhar, amaideachd:

23 A ta na h-uile so uile a' teachd a mach o'n taobh a stigh, agus a' salachadh an duine.

24 Agus air dha éirigh as sin, chaidh e gu crìochaibh Thiruis agus Shidoin: agus an uair a chaidh e steach do thigh, cha b'àill leis fios a bhi aig neach sam bith *air*; gidheadh cha'n fheudadh e bhi'n folach.

25 Oir chuala bean uime, aig an robh nighean bheag, anns an robh spiorad neo-ghlan, agus thainig i agus thuit i aig a chosaibh:

26 (Agus bu Ghreugach a' bhean, Ban-shiropheniseach a thaobh cinnich) agus ghuidh i air gu'n tilgeadh e an deamhan a mach as a h-inghin.

27 Ach thubhairt Iosa rithe, Fulaing do'n chloinn air tùs a bhi air an sàsuchadh: oir cha 'n'eil e iomchuidh aran na cloinne a ghabhail, agus a thilgeadh chum nan con.

28 Agus fhreagair ise agus thubhairt i ris, Is fior sin, a Thighearn: gidheadh ithidh na coin fuidh 'n bhord do sbruileach na cloinne.

29 Agus thubhairt esan rithe, Air son na cainnte so fein, imich romhad, a ta an deamhan air dol a mach a d' nighinn.

30 Agus an uair a bha ise air teachd a dh'ionnsuidh a tighe, fhuair i an deamhan air dol a mach, agus a h-inghean air a cur 'na luidhe air an leabaidh.

31 Agus a rìs air dha imeachd o chrìochaibh Thiruis agus Shidoin, thainig e gu muir Ghalile, troimh mheadhon chrìoch Dhecapolis.

32 Agus thug iad d'a ionnsuidh duine bothar, aig an robh staduich 'na chainnt: agus ghuidh iad air gu'n cuireadh e a làmh air.

33 Agus thug e a leth o'n t-sluagh e, agus chuir e a mheoir 'na chluasaibh, agus shil e[p], agus bhean e r'a theangaidh.

34 Agus air dha amharc suas gu nèamh, rinn e osna, agus thubhairt e ris, Ephphata, 'se sin r'a radh, Bi fosgailte.

35 Agus air ball dh'fhosgladh a chluasan, agus dh'fhuasgladh ceangal a theanga, agus labhair e gu ceart.

36 Agus dh'àithn e dhoibh gun iad a dh'innseadh sin do neach air bith: ach mar is mò a thoirmisg esan doibh, bu mhòid gu ro mhòr a chuir iadsan *an gniomh* os aird;

37 Agus bha iad gu ro mhòr air an lìonadh le h-iongantas, ag radh, Rinn e na h-uile nithe gu maith: tha e faraon a' tabhairt air na bothair gu'n cluinn iad, agus air na bailbh gu'n labhair iad.

CAIB. VIII.

1 *A ta Criosd a' biadhadh a' phobuill gu mìorbhuileach*; 11 *a' diultadh comhar' thabhairt do na Phairisich*; 14 *ag iarraidh air a dheisciobluibh bhi air am faicill an aghaidh taois ghoirt nam Phairiseach, agus Heroid*; 22 *a' tabhairt a radhairc do dhuine dall, &c.*

ANNS na laithibh sin air do shluagh ro mhòr a bhi *ann*, agus gun ni air bith aca r'a itheadh, ghairm Iosa a dheisciobuil d'a ionnsuidh, agus thubhairt e riu,

2 A ta truas mòr agam do'n t-sluagh, do bhrigh gu'n d'fhan iad a nis tri laithean maille rium, agus nach 'eil ni air bith aca r'a itheadh;

3 Agus ma leigeas mi d'an tighibh fein 'nan trosg[r] iad, fannuichidh iad air an t-slighe: oir thainig cuid aca am fad.

4 Agus fhreagair a dheisciobuil e, Cia as a dh'fheudas neach iad so a

[o] *amaisceachd.* [p] *sheil.* [r] *trasg.*

shàsuchadh le h-aran an so san fhàs-
ach ?
5 Agus dh'fhiosraich e dhiubh,
Cia lioñ builinn a ta agaibh ? Agus
thubhairt iadsan, Seachd.
6 Agus thug e ordugh do'n t-sluagh
suidhe sìos air an làr : agus ghlac e
na seachd builinnean, agus air tabh-
airt buidheachais, bhris e, agus thug
e *iad* d'a dheisciobluibh, chum gu'n
cuireadh iad 'nan làthair *iad* ; agus
chuir iad sìos an làthair an t-sluaigh
iad.
7 Agus bha aca beagan a dh'iasg-
aibh beaga : agus bheannuich e *iad*,
agus dh'àithn e 'n cur sìos 'nan làth-
air mar an ceudna.
8 Agus dh'ith iad, agus shàsuich-
eadh iad : agus thog iad *làn* sheachd
bascaid do'n bhiadh bhriste, a bha
dh'fhuighleach aca.
9 Agus bha iadsan a dh'ith mu
thimchioll cheithir mìle ; agus leig e
air falbh iad.
10 Agus air ball chaidh e steach an
luing maille r'a dheisciobluibh, agus
thainig e gu crìochaibh Dhalmanuta.
11 Agus thainig na Phairisich a
mach ; agus thòisich iad ri ceisdean
a chur air, ag iarruidh comharaidh
uaith o nèamh, 'ga dhearbhadh.
12 Agus air deanamh osna dhasan
'na spioraid, thubhairt e, C'ar son a ta
an ginealach so ag iarruidh comhar-
aidh ? gu deimhin a deirim ribh nach
dthoirear comhara do'n ghinealach so.
13 Agus dh'fhàg e iad, agus air
dha dol a steach do'n luing a rìs,
chaidh e do'n taobh eile.
14 Agus dhi-chuimhnich *na deis-
ciobuil* aran a thoirt leo ; agus cha
robh aca ach aon bhuilinn[t] maille
riu san luing.
15 Agus dh'àithn e dhoibh, ag
radh, Thugaibh an aire, bithibh air
bhur faicill an aghaidh taois ghoirt
nam Phairiseach, agus taois ghoirt
Heroid.
16 Agus bha iadsan a' reusonach-
adh 'nam measg féin, ag radh, *Is ann*
air son nach 'eil aran againn *a ta e*.
17 Agus air aithneachadh *sin* do
Iosa, thubhairt e riu, C'ar son a ta
sibh a reusonachadh do bhrigh nach
'eil aran agaibh ? Nach 'eil fhios ag-
aibh fathast, agus nach 'eil sibh a'
tuigsinn ? am bheil bhur cridhe fath-
ast air a chruadhachadh ?
18 Air dhuibh sùilean a bhi ag-
aibh, nach faic sibh ? agus air dhuibh
cluasan a bhi agaibh, nach cluinn sibh ?
agus nach 'eil sibh a' cuimhneachadh ?
19 An uair a bhris mi na cùig
builinnean am measg nan cùig mìle,
cia lion cliabh làn do bhiadh briste a
thog sibh ? Thubhairt iadsan ris, A
dhà dheug.
20 Agus an uair *a bhris mi* na
seachd am measg nan ceithir mìle,
cia lion bascaid làn do bhiadh briste a
thog sibh ? Agus thubhairt iadsan,
Seachd.
21 Agus thubhairt e riu, Cionnus
nach 'eil sibh a' tuigsinn ?
22 Agus thainig e gu Betsaida, a-
gus thug iad d'a ionnsuidh duine
dall, agus ghuidh iad air gu'm bean-
adh e ris.
23 Agus rug e air laimh an doill
agus threòruich e mach as a' bhaile e ;
agus air dha a shileadh a chur air a
shùilibh, agus a làmhan a chur air,
dh'fheòruich e dheth an robh e faic-
inn nì air bith.
24 Agus dh'amhairc esan suas, agus
thubhairt e, A ta mi faicinn dhaoine
mar chraobhan ag imeachd.
25 'Na dhéigh sin, chuir e a làmhan
a rìs air a shùilibh, agus thug e air
amharc suas : agus dh'aisigeadh *a
radharc dha*, agus chunnaic e gach
uile dhuine gu soilleir.
26 Agus chuir e dh'ionnsuidh a
thighe féin e, ag radh, Na rach a
steach do'n bhaile, agus na h-innis do
neach air bith anns a' bhaile *e*.
27 Agus chaidh Iosa agus a dheis-
ciobuil a mach gu bailtibh Chesarea
Philipi : agus air an t-slighe chuir e
ceisd air a dheisciobluibh, ag radh
riu, Cò a tha daoine ag radh is mise?
28 Agus fhreagair iadsan, Eoin
Baiste ; agus cuid eile, Elias ; agus
cuid eile, Aon do na fàidhibh.
29 Agus thubhairt esan riu, Ach cò a
tha sibhse ag radh is mi ? Fhreagair
Peadar agus thubhairt e ris, Is tu
Criosd.

[t] *aran*.

30 Agus thug e sparradh dhoibh gun iad a dh'innseadh *so* uime do neach sam bith.

31 Agus thòisich e r'an teagasg, gur éigin do Mhac an duine mòran do nithibh fhulang, agus a bhi air a dhiultadh leis na seanairibh, agus na h-ard-shagartaibh agus na scrìobhuichibh, agus a bhi air a chur gu bàs, agus éirigh a rìs an déigh thri làithean.

32 Agus labhair e a' chainnt so os àird. Agus rug Peadar air, agus thòisich e r'a chronuchadh.

33 Ach air dhasan tionndadh m'an cuairt, agus amharc air a dheiciobluibh, chronuich e Peadar, ag radh, Imich air mo chùlaobh, a Shatain: oir cha 'n'eil spéis agad do nithibh Dhé[u], ach do nithibh dhaoine.

34 Agus air gairm an t-sluaigh, agus a dheisciobuil d'a ionnsuidh, thubhairt e riu, Ge b'e neach leis an àill teachd a'm' dhéighse, àicheadhadh se e fein, agus togadh e a chrannceusaidh, agus leanadh e mise.

35 Oir ge b'e neach leis an àill anam fein a choimhead, caillidh se e; ach ge b'e neach a chailleas anam air mo shonsa, agus *air son* an t-soisgeil, coimhididh esan e.

36 Oir ciod e an tairbhe do dhuine, ge do chosnadh e an saoghal gu h-iomlan, agus anam a chall?

37 No ciod a bheir duine an éiric anama?

38 Oir ge b'e neach a ghabhas nàire dhiomsa, agus do m' fhoclaibh, anns a' ghinealach adhaltranach agus olc-sa, dheth-san gabhuidh Mac an duine nàire, 'nuair a thig e an glòir Athar, maille ris na h-ainglibh naomha.

CAIB. IX.

2 *A ta cruth Iosa air atharrachadh:* 11 *A ta e a' teagasg a dheisciobuil mu thimchioll teachd Eliais;* 14 *a' tilgeadh a mach an spioraid bhailbh agus bhothair;* 30 *a' roimh-innseadh a bhàis, agus aiseirigh; &c.*

AGUS thubhairt e riu, Gu deimhin a deirim ribh, gu'm bheil cuid dhiubhsan a ta 'nan seasamh an so, nach blais bàs, gus am faic iad rioghachd Dhé a' teachd le cumhachd.

2 Agus an ceann shea làithean, thug Iosa Peadar, agus Seumas, agus Eoin leis, agus threòruich e iad leo féin air leth gu beinn aird: agus dh'atharruicheadh a chruth 'nam fianuis.

3 Agus rinneadh eudach dealrach, ro gheal mar an *sneachda;* air mhodh nach robh e 'n comas do ghlanadaireudaich sam bith air talamh a ghealachadh.

4 Agus dh'fhoillsicheadh dhoibh Elias maille re Maois: agus bha iad a' còmhradh ri h-Iosa.

5 Agus fhreagair Peadar, agus thubhairt e re h-Iosa, A mhaighstir, is maith dhuinne bhi 'n so: air an aobhar sin deanamaid tri bothain; aon duitse, agus aon do Mhaois, agus aon do Elias.

6 Oir cha robh fhios aige ciod a theireadh e: oir bha iad fuidh eagal ro mhòr.

7 Agus thainig neul a chuir sgàile *orra*, agus thainig guth as an neul, ag radh, Is e so mo Mhac gràdhachsa, éisdibh ris.

8 Agus air ball an uair a dh'amhairc iad mu'n timchioll, cha 'n fhac iad neach air bith as sin suas, ach Iosa 'na aonar maille riu.

9 Agus ag teachd dhoibh a nuas o'n bheinn, dh'àithn e dhoibh gun na nithe a chunnaic iad innseadh do neach sam bith, gus an éireadh Mac an duine a rìs o na marbhaibh.

10 Agus ghleidh iad a' chainnt so aca fein, a' fiosrachadh d'a chéile ciod bu chiall do'n aiserigh o na marbhaibh.

11 Agus dh'fheòraich iad deth, ag radh, C'ar son a deir na scrìobhuichean gur éigin Elias a theachd air tùs?

12 Agus fhreagair esan agus thubhairt e riu, Thig Elias gu deimhin air tùs, agus aisigidh e na h-uile nithe, agus mar a ta e scrìobhta mu Mhac an duine, gu 'm bheil e gu mòran do nithibh fhulang, agus a bhi air a chur an dìmeas.

13 Ach a deirim ribh, gu bheil E-

[u] *cha 'n'eil a'aire air nithibh Dhé.*

lias d'a rireadh air teachd, agus rinn iad ris gach ni a thogair iad, a réir mar a ta e scrìobhta uime.

14 Agus air dha teachd chum a dheisciobuil, chunnaic e sluagh mòr m'an timchioll, agus na scrìobhuichean a' deasboireachd riu.

15 Agus air ball bha 'n sluagh uile, 'nuair a chunnaic iad e, fa uamhas mòr, agus air dhoibh ruith d'a ionnsuidh, chuir iad fàilt' air.

16 Agus dh'fhiosruich e do na scrìobhuichibh, Ciod e mu 'm bheil sibh a' deasboireachd riu?

17 Agus air freagairt do neach do'n t-sluagh, thubhairt e, A mhaighstir, thug mi mo mhac a t' ionnsuidh, anns am bheil spiorad balbh:

18 Agus ge b'e ionad sam bith an glac se e, a ta e 'ga tharruing as a chéile; agus a ta e cur cobhair *as a bheul*, agus a' gìosgarnuich le fhiaclaibh, agus a ta e a' seargadh as: agus thubhairt mi re d' dheisciobluibh, iad g'a chur a mach, agus cha b' urradh iad.

19 Ach fhreagair esan, agus thubhairt e ris, O chinnich gun chreidimh, cia fhad a dh'fhuilgeas mi sibh? thugaibh e m' ionnsuidh.

20 Agus thug iad d'a ionnsuidh e: agus an uair a chunnaic se e, reub an spiorad air ball e, agus thuit e air an talamh, agus *bha e* 'ga aoirneagan[a] féin, *agus* a' cur cobhair *as a bheul*.

21 Agus dh'fhiosruich e d'a athair, Cia fhad an aimsir o thainig so air? agus thubhairt e, O bha e 'na leanabh.

22 Agus gu minic thilg e san teine e, agus anns an uisge, chum gu milleadh se e: ach ma ta thusa comasach air ni sam bith a dheanamh, gabh truas dinn, agus cuidich leinn.

23 Ach thubhairt Iosa ris, Ma 's urrainn thusa creidsinn, a ta gach aon ni comasach do'n neach a chreideas.

24 Agus ghlaodh athair an leinibh a mach air ball, agus thubhairt e le deuraibh, A ta mi creidsinn, a Thighearn; cuidich thusa le m' mhi-chreidimh.

25 Agus an uair a chunnaic Iosa an sluagh a' ruith cuideachd, chronuich e an spiorad neo-ghlan, ag radh ris, A spioraid bhailbh agus bhothair, a ta mi 'g orduchadh dhuit, Thig a mach as, agus na rach[b] a steach ann ni s' mò.

26 Agus ghlaodh *an spiorad*, agus reub e gu ro chràiteach e, agus chaidh e mach as: agus bha e 'n riochd mairbh, ionnus gu'n dubhairt mòran, Tha e marbh.

27 Ach air do Iosa a ghlacadh air làimh, thog e suas e, agus dh'éirich e.

28 Agus an uair a chaidh e steach do'n tigh, dh'fhiosruich a dheisciobuil deth os ìosal, C'ar son nach b' urradh sinne a thilgeadh mach?

29 Agus thubhairt esan riu, Cha'n 'eil e comasach gu'n d'theid a' ghnè so mach le ni air bith, ach le h-ùrnuigh agus trosgadh.

30 Agus dh'imich iad as sin, agus chaidh iad tre Ghalile; agus cha b'àill leis fhios *so* bhi aig aon neach.

31 Oir theagaisg e a dheisciobuil fein, agus thubhairt e riu, A ta Mac an duine air a thabhairt thairis do làmhaibh dhaoine, agus cuiridh iad gu bàs e, agus an déigh a chur gu bàs, éiridh e rìs an treas là.

32 Ach cha do thuig iad a' chainnt so, agus bha eagal orra fheòraich dheth.

33 Agus thainig é gu Capernaum, *agus air bhi san tigh dha*, dh'fhiosruich e dhiubh, Ciod e mu 'n robh sibh a' deasboireachd eadruibh fein, air an t-slighe?

34 Ach dh'fhan iadsan 'nan tosd: oir air an t-slighe bha iad a' reusonachadh eatorra fein, co aca bu mhò *a bhiodh*.

35 Agus air suidhe dha, ghairm e 'n dà fhear dheug *d'a ionnsuidh*, agus thubhairt e riu, Ge b'e neach leis am miann a bhi air thoiseach, bithidh esan air dheireadh air chàch uile, agus 'na sheirbhiseach do na h-uile.

36 Agus ghabh e leanabh, agus chuir e 'nam meadhon e: agus an uair a thog e suas 'na uchd e, thubhairt e riu,

37 Ge b'e neach a ghabhas ri h-aon d'an leithidibh so do leanabaibh a'm' ainmse, a ta se a' gabhail riumsa: agus

[a] *aoineagan, aonairt.* [b] *teirig, gabh.*

ge b'e neach a ghabhas riumsa, cha mhise ris am bheil e a' gabhail, ach an Ti a chuir uaith mi.

38 Agus fhreagair Eoin e, ag radh, A mhaighstir, chunnaic sinne neach nach 'eil 'gar leanmhuinn, a' tilgeadh a mach dheamhan a'd'ainmse; agus bhac[c] sinn e, chionn nach 'eil e 'gar leantuinn féin.

39 Ach thubhairt Iosa, Na bacaibh e: oir cha 'n'eil neach sam bith a ni mìorbhuil a'm' ainmse, d'am bheil e'n comas olc a labhairt gu h-ealamh umam.

40 Oir ge b'e neach nach 'eil 'nar[d] n-aghaidh, a ta e leibh.

41 Oir ge b'e neach a bheir cupan uisge dhuibhse r'a òl a'm' ainmse, chionn gur le Criosd sibh, gu deimhin a deirim ribh, nach caill e a dhuais.

42 Agus ge b'e bheir aobhar oilbheim dh'aon neach do na h-aonaibh beaga so, a ta creidsinn annamsa, b'fhearr dha gu'm biodh clach-mhuilinn air a crochadh m'a mhuineal, agus gu 'm biodh e air a thilgeadh san fhairge.

43 Agus ma bheir do làmh aobhar oilbheim dhuit, gearr dhiot i: is fearr dhuit dol do'n bheatha air leth làimh, na dà làimh a bhi agad, agus dol gu h-ifrinn, do'n teine nach mùchar a choidhch;

44 Far nach bàsaich an cnuimh, agus nach d'théid an teine as.

45 Agus ma bheir do chos aobhar oilbheim dhuit, gearr dhiot i: is fearr dhuit dol a steach do'n bheatha air leth chois, na dà chois a bhi agad, agus a bhi air do thilgeadh ann an ifrinn, do'n teine nach mùchar a choidhch;

46 Far nach bàsaich an cnuimh, agus nach d'théid an teine as.

47 Agus ma bheir do shùil aobhar oilbheim dhuit, spìon asad i: is fearr dhuit dol a steach do rioghachd Dhé air aon sùil, na dà shùil a bhi agad, agus a bhi air do thilgeadh ann an teine ifrinn:

48 Far nach bàsaich an cnuimh, agus nach d'théid an teine as.

49 Oir saillear gach aon neach le teine, agus saillear gach aon ìobairt le salann.

50 Is maith an salann: ach ma chailleas an salann a shaillteachd, ciod e leis an dean sibh deadh-bhlasda e? Biodh agaibh salann annaibh fein, agus bithibh sìochail r'a chéile.

CAIB. X.

2 A ta Criosd a' deasboireachd ris na Phairisich mu thimchioll dealachaidh fir agus mnà pòsda: 13 a' beannachadh cloinne a thugadh d'a ionnsuidh: 17 ag innseadh do dhuine saibhir cionnus a dh'fheudas e a' bheatha shuthain a shealbhachadh, &c.

AGUS air éirigh dha as sin, thainig e gu crìochaibh Iudea tre 'n *dùthaich a ta* air an taobh thall do Iordan: agus thainig slòigh d'a ionnsuidh a rìs; agus mar bu ghnàth leis, theagaisg e iad a rìs.

2 Agus air teachd do na Phairisich d'a ionnsuidh, dh'fhiosruich iad deth, Am bheil e ceaduichte do dhuine a bhean a chur air falbh? 'ga dhearbhadh.

3 Ach fhreagair esan agus thubhairt e riu, Ciod a dh'àithn Maois dhuibh?

4 Agus thubhairt iadsan, Thug Maois cead duinn litir-dhealaich a scrìobhadh, agus a cur air falbh.

5 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Air son cruais bhur cridhe, scrìobh e'n àithne so dhuibh.

6 Gidheadh o thoiseach na cruitheachd, rinn Dia iad fear agus bean.

7 Air an aobhar so fàguidh duine athair agus a mhàthair, agus dlùleanaidh e r'a mhnaoi phòsda;

8 Agus bithidh iad araon 'nan aon fheoil: ionnus nach dithis iad o sin suas, ach aon fheoil.

9 Air an aobhar sin an ni a chuir Dia cuideachd, na cuireadh duine o chéile.

10 Agus anns an tigh dh'fheòraich a dheisciobuil deth a rìs mu thimchioll an ni cheudna.

11 Agus thubhairt e riu, Ge b'e neach a chuireas air falbh a bhean féin, agus a phòsas *bean* eile, a ta e a' deanamh adhaltrannais 'na h-aghaidh:

[c] *thoirmisg.* [d] *ann bhur.*

12 Agus ma chuireas bean air falbh
a fear fein, agus ma bhitheas i air a
pòsadh ri fear eile, a ta i a' deanamh
adhaltrannais.
13 Agus thug iad leanabana d'a
ionnsuidh, chum as gu'm beanadh e
riu: agus chronuich a dheisciobuil a'
mhuinntir a thug leo iad.
14 *Ach an uair a chunnaic Iosa
sin, bha e ro dhiombach, agus thubh-
airt e riu, Leigibh do na leanabanuibh
teachd a m' ionnsuidh, agus na bac-
uibh iad: oir is ann d'an leithidibh
a ta rioghachd Dhé.
15 Gu deimhin a deirim ribh, Ge
b'e neach nach gabh rioghachd Dhé
mar leanabh beag, nach d'théid e gu
bràth a steach innte.
16 Agus ghlac e 'na uchd iad, agus
chuir e a lamhan orra, agus bheann-
uich e iad.
17 Agus an uair a chaidh e mach
air an t-slighe, thainig neach 'na
ruith, agus leig se e fein air a ghlùin-
ibh dha, agus dh'fheòraich e dheth,
A mhaighstir mhaith, ciod a ni mi
chum gu sealbhaich mi a' bheatha
mhaireannach?
18 Agus thubhairt Iosa ris, C'ar
son a ghoireas[c] thu maith dhiomsa?
cha 'n'eil neach sam bith maith, ach
a h-aon, *is e sin* Dia.
19 Is aithne dhuit na *h*-àitheanta,
Na dean adhaltrannas, Na dean mort-
adh, Na goid, Na toir fianuis bhréige,
Na dean eucoir[f], Thoir onoir do
t'athair, agus do d' mhàthair.
20 Ach fhreagair esan agus thubh-
airt e ris, A mhaighstir, choimhid mi
iad so uile o m'òige.
21 Agus air amharc do Iosa air,
ghràdhaich se e, agus thubhairt e ris,
A ta aon ni dh'uireasbhuidh ort:
imich, reic na bheil agad, agus tabh-
air do na bochdaibh, agus bithidh
agad ionmhas air nèamh; agus thig,
tog an crann-cèusaidh, agus lean
mise.
22 Agus bha doilghios air-san air
son nam briathra sin, agus dh'fhalbh
e gu tuirseach; oir bha mòran saibh-
ris aige.
23 Agus air amharc do Iosa m'an
cuairt, thubhairt e r'a dheisciobluibh,
Cia deacair[g] do'n mhuinntir sin aig
am bheil mòr shaibhreas dol a steach
do rioghachd Dhé!
24 Agus bha mòr uamhas air na
deisciobluibh air son a bhriathra. Ach
fhreagair Iosa a rìs, agus thubhairt e
riu, A chlann, cia deacair dhoibh-san
a chuireas an dòigh ann an saibhreas,
dol a steach do rioghachd Dhé!
25 Is usadh do chàmhal dol tre
chrò na snàthaide, na do dhuine saibh-
ir dol a steach do rioghachd Dhé.
26 Ach bha uamhas orrasan thar
tomhas, ag radh eatorra fein, Cò ma
seadh a dh'fheudas a bhi air a shaor-
adh?
27 Agus air do Iosa amharc orra,
thubhairt e, Do dhaoinibh a ta so eu-
comasach, ach cha '*n'eil e* do Dhia:
oir do Dhia a ta na h-uile nithe com-
asach.
28 Agus thòisich Peadar air a radh
ris, Feuch, thréig sinne na h-uile
nithe, agus lean sinn thusa.
29 Ach fhreagair Iosa, agus thubh-
airt e, Gu deimhin a deirim ribh,
nach 'eil neach sam bith a dh'fhàg
tigh, no bràithre, no peathraiche, no
athair, no màthair, no bean-phòsda, no
clann, no fearann, air mo shonsa agus
air son an t-soisgeil.
30 Nach faigh a cheud uiread san
aimsir so féin, tighean, agus bràithrean,
agus peathraichean, agus màthraich-
ean, agus clann, agus fearann, maille
ri geur-leanmhuinn; agus anns an
t-saoghal a ta ri teachd, a' bheatha
mhaireannach.
31 Ach 'a ta mòran air thùs, a
bhitheas air dheireadh; agus air
dheireadh, *a bhitheas* air thùs.
32 Agus bha iad air an t-slighe a'
dol suas gu Hierusalem: agus bha
Iosa ag imeachd rompa; agus ghabh
uamhas iad, agus ag dhoibh *esan* a
leantuinn, bha eagal orra. Agus
thug e an dà fhear dheug air leth a
rìs, agus thòisich e air na nithe a bha
gu tachairt dà innseadh dhoibh.
33 *Ag radh*, Feuch, a ta sinn a'
dol suas gu Hierusalem, agus bithidh
Mac an duine air a thoirt thairis do
na h-ard shagartaibh[h], agus do na
scrìobhuichibh: agus ditidh iad chum

[c] *ghairmeas.* [f] *mealltaireachd.* [g] *doilich.* [h] *prìomh shagartaibh.*

bàis e, agus bheir iad thairis e do na Cinnich;

34 Agus ni iad fanoid air, agus sgiùrsaidh iad e, agus tilgidh iad smugaid air, agus cuiridh iad gu bàs e: agus air an treas la éiridh e rìs.

35 Agus thainig d'a ionnsuidh Seumas agus Eoin, mic Shebede, ag ràdh, A mhaighstir, is àill leinn gu'n dean thu dhuinne ge b'e ni a dh'iarras sinn.

36 Agus thubhairt esan riu, Ciod is àill libh mise a dheanamh dhuibh?

37 Agus thubhairt iadsan ris, Deònuich dhuinne gu'n suidheamaid, a h-aon air do laimh dheis, agus am fear eile air do laimh chli ann do ghlòir.

38 Ach thubhairt Iosa riu, Cha'n aithne dhuibh ciod a ta sibh ag iarruidh: am bheil sibh comasach air a' chupan òl a dh'òlas mise? agus a bhi air bhur baisteadh leis a' bhaisteadh leis am baistear mise?

39 Thubhairt iadsan ris, A ta sinn comasach. Ach thubhairt Iosa riu, Oluidh sibhse gu deimhin an cupan a dh'òlas mise; agus baistear sibh leis a' bhaisteadh leis am baistear mise:

40 Ach suidhe air mo laimh dheis, agus air mo làimh chli, cha leamsa sin r'a thabhairt, ach dhoibhsan d'an d'ulluicheadh e.

41 Agus air cluinntinn so do'n deichnear, thòisich iad air mòr chorruich a ghabhail re Seumas agus Eoin.

42 Ach air do Iosa an gairm d'a ionnsuidh, thubhairt e riu, A ta fhios agaibh gu bheil aca-san a ta air am meas mar uachdarain air na Cinnich, àrd thighearnas orra; agus gu bheil aig an daoinibh mòra làn ùghdarras orra.

43 Ach cha bhi e mar sin 'nar measg-sa: ach ge b'e neach le'n àill a bhi mòr 'nar measg, bithidh e 'na òglach aguibh:

44 Agus ge b'e neach agaibh le'n àill toiseach a bhi aige, bithidh e 'na sheirbhiseach do na h-uile.

45 Oir cha d'thainig eadhon Mac an duine chum gu'n deantadh frithealadh dha, ach a dheanamh frithealaidh, agus a thoirt anama fèin mar éiric air son mhòrain.

46 Agus thainig iad gu Iericho: agus air imeachd dhasan agus d'a dheisciobluibh, agus do shluagh mòr, a mach a Iericho, bha Bartimeus an dall, mac Thimeuis, 'na shuidhe ri taobh na slighe, ag iarraidh déirce.

47 Agus air cluinntinn da gu'm b'e Iosa o Nasaret a bh'ann, thòisich e ri glaodhaich, agus a ràdh, Iosa, Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm.

48 Agus chronuich mòran e, chum's gu'm biodh e 'na thosd: ach bu ro mhòid a ghlaodh esan, A Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm.

49 Agus sheas Iosa, agus dh'àithn e esan a ghairm *d'a ionnsuidh:* agus ghairm iad an dall, ag ràdh ris, Biodh misneach agad, éirich, tha e ga d'ghairm.

50 Agus air dhasan fhalluing[1] a thilgeadh uaith, dh'éirich e, agus thainig e gu h-Iosa.

51 Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e ris, Ciod is àill leat mise a dheanamh dhuit? Thubhairt an dall ris, A Thighearn, mi dh'fhaotainn mo radhairc.

52 Agus thubhairt Iosa ris, Imich; shlànuich do chreidimh thu. Agus air ball fhuair e a radharc, agus lean e Iosa san t-slighe.

CAIB. XI.

1. *Ata Iosa marcachd gu buadhach do Hierusalem; 12 a' mallachadh na craoibh air an robh duilleach gun mheas; 15 a' glanadh an teampuill; 20 ag earalachadh a dheisciobul chum iad a bhi seasmhach sa' chreidimh, &c.*

AGUS an uair a thainig iad am fagus do Hierusalem, gu Betphage, agus Betani, aig sliabh nan crann-ola, chuir e uaith dithis d'a dheisciobluibh.

2 Agus thubhairt e riu, Rachaibh do'n bhaile ud thall fa'r comhair; agus air ball an uair a théid sibh a steach ann, gheibh sibh searrach ceangailte, air nach do shuidh aon duine riamh; fuasglaibh e, agus thugaibh leibh e.

[1] *eudach-uachdair.*

3 Agus ma their neach air bith ribh, C'ar son a ta sibh a' deanamh so? abraibh, Gu'm bheil feum aig an Tighearn air; agus air ball cuiridh e'n so e.

4 Agus dh'imich iad, agus fhuair iad an searrach ceangailt a muigh aig an dorus, aig coinneachadh dà shlighe; agus dh'fhuasgail iad e.

5 Agus thubhairt cuid dhiubh-san, a bha 'nan seasamh an sin, riu, C'ar son a ta sibh a' fuasgladh an t-searraich?

6 Agus thubhairt iadsan riu mar a dh'àithn Iosa dhoibh: agus leig iad natha iad.

7 Agus thug iad an searrach chum Iosa, agus chuir iad am falluingean air; agus shuidh esan air.

8 Agus sgaoil mòran am falluingean féin air an t-slighe: agus ghearr cuid eile geugan de na craobhaibh, agus sgaoil iad air an t-slighe iad.

9 Agus ghlaodh iadsan a bha 'g imeachd roimhe, agus iadsan a bha 'ga leantuinn, ag radh, Hosana, is beannuichte an ti a ta teachd ann an ainm an Tighearna.

10 Is beannuichte rioghachd ar n-Athar Daibhidh, a ta teachd [ann an ainm an Tighearna]; Hosana anns na h-àrdaibh.

11 Agus chaidh Iosa a steach do Hierusalem, agus do'n teampull; agus an uair a dh'amhairc e air gach ni m'an cuairt, agus a bha 'm feasgar a nis air teachd, chaidh e mach gu Betani maille ris an dà fhear dheug.

12 Agus air an là màireach, 'nuair a chaidh iad a mach a Betani, 'dhfhàs e ocrach.

13 Agus air faicinn craoibh-fhìge fada uaith, air an robh duilleach, thainig e, dh'fheuchainn am faigheadh e ni sam bith oirre: agus air dha teachd d'a h-ionnsuidh, cha d'fhuair e ni sam bith ach duilleach; oir cha robh àm tional nam fìge fathast ann.

14 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e rithe, Nar itheadh neach sam bith toradh dhiotsa o so suas a choidhch. Agus chual a dheisciobuil e.

15 Agus thainig iad gu Hierusalem: agus air do Iosa dol a steach do'n teampull, thòisich e air an dream a bha reiceadh agus a' ceannach san teampull a chur a mach, agus thilg e thairis bùird luchd malairt an airgid, agus caithriche na muinntir a bha reiceadh choluman:

16 Agus cha'n fhuilgeadh e gu 'n iomchaireadh neach sam bith soitheach troimh [b] an teampull.

17 Agus theagaisg e, ag radh riu, Nach 'eil e sgrìobhta, Goirear tigh ùrnuigh do m' thighsa do [m] na h-uile chinneachaibh? Ach rinn sibhse 'na gharaidh luchd-reubainn e.

18 Agus chuala na scrìobhuichean agus na h-àrd shagairt [n] so, agus dh'iarr iad cionnus a dh'fheudadh iad esan a mhilleadh: oir bha eagal-san orra, do bhrigh gu'n robh an sluagh uile fa iongantas mòr r'a theagasg.

19 Agus an uair a bha 'm feasgar air teachd, chaidh e mach as a' chathair [o].

20 Agus air mhaduinn, ag gabhail seachad dhoibh, chunnaic iad an crann-fìge air crìonadh [l] threumhaibh.

21 Agus air cuimhneachadh do Pheadar, thubhairt e ris, A mhaighstir, feuch, a ta chraobh-fhìge, a mhalluich thu, air crìonadh.

22 Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e riu, Biodh creidimh Dhé agaibh.

23 Oir gu deimhin a deirim ribh, ge b'e neach a their ris a' bheinn so, Togar thu, agus tilgear san fhairge thu, agus nach bi fa amharus 'na chridhe, ach a chreideas gu'n tachair na nithe a their e, thig gach ni a their e gu crìch dha.

24 Air an aobhar sin a deirim ribh, Ge b'e nithe air bith a dh'iarras sibh ann an ùrnuigh, creidibh gu'm faigh sibh, agus gheibh sibh.

25 Agus an uair a sheasas sibh a' dheanamh ùrnuigh, maithibh, ma ta ni air bith agaibh an aghaidh aon duine, chum gu maith bhur n-Athair a ta air nèamh bhur peacaidh féin duibhse.

26 Ach mur maith sibhse, cha mhò

[l] *trc. trìd.* [m] *leis.* [n] *prìomh shagairt.* [o] *a' bhaile.*

a mhaitheas bhur n-Athair a ta air nèamh bhur peacaidh féin duibhse.

27 Agus thainig iad a rìs gu Hierusalem: agus air bhi dhasan a' spaisdeireachd[p] anns an teampull, thainig d'a ionnsuidh na h-àrd shagairt[r] agus na scrìobhuichean, agus na seanairean.

28 Agus a deir iad ris, Ciod e an t-ùghdarras le'm bheil thu a'-deanamh nan nithe so? Agus cò thug dhuit an t-ùghdarras so chum na nithese dheanamh?

29 Agus fhreagair Iosa agus a thubhairt e riu, Feòraichidh mise mar an ceudna aon ni dhibhse, agus freagraibh mi, agus innsidh mise dhuibhse ciod e an t-ùghdarras le'n deanam na nithese.

30 An ann o neamh, no o dhaoinibh a thainig baisteadh Eoin? freagraibh mi.

31 Agus bha iad a' reusonachadh eatorra fein, ag radh, Ma their sin, O nèamh, their esan ruinn, C'ar son ma seadh nach do chreid sibh e?

32 Ach ma their sinn, O dhaoinibh; bha eagal an t-sluaigh orra, oir b'e meas gach uile air Eoin gu'm b'fhàidh e gu firinneach.

33 Agus air freagairt dhoibh, thubhairt iad re h-Iosa, Cha'n'eil fhios aguinn. Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Cha mhò a dh'innseas mise dhuibhse ciod e an t-ùgdarras le'n deanam na nithese.

CAIB. XII.

1 Ann an cosamhlachd an fhìon-lios a shuidhicheadh air tuath mhi-thaingeil, a ta Criosd ag innseadh roimhlaimh diultadh nan Iudhach, agus gairm nan Cinneach. 13 Tha e seachnadh an ribe a'chuir na Phairisich, agus na Herodianaich roimhe, mu thimchioll iocadh cìse do Cheasar: 18 a' nochdadh mearachd nan Sadusach mu thimchioll aiseirigh nam marbh, &c.

AGUS thòisich e air labhairt riu ann an cosamhlachdaibh. Shuidhich duine *àraidh* fìon-lios, agus chuir e gàradh m'an cuairt air, agus chladhaich e ionad bruthaidh *nam fìon-dhearc*, agus thog e tùr, agus shuidhich e air tuath e, agus ghabh e thurus as a dhùthaich.

2 Agus san àm dhligheach chuir e seirbhiseach chum na tuatha, chum's gu'm faigheadh e do thoradh an fhìon-lios o'n tuath.

3 Ach air dhoibh-san esan a ghlacadh, bhuail iad e, agus chuir iad uatha falamh e.

4 Agus a rìs chuir e seirbhiseach eile d'an ionnsuidh; agus chlach iad e, agus reub iad a cheann, agus chuir iad uatha e le h-eas-urram.

5 Agus a rìs chuir e neach eile *d'an ionnsuidh*; agus esan mharbh iad: agus mòran eile, a' bualadh cuid diubh, agus a' marbhadh cuid eile.

6 Fathast uime sin air dha aon Mhac a bhi aige, a b' ionmhuinn leis, chuir e esan mar an ceudna fa dheoidh d'an ionnsuidh, ag radh, Bheir iad urram do m' Mhac.

7 Ach thubhairt an tuath sin 'nam measg fein, Is e so an t-oighre; thigibh, marbhamaid e, agus bithidh an oighreachd aguinn féin.

8 Agus rug iad air, agus mharbh iad e, agus thilg iad a mach as an fhìon-lios e.

9 Ciod e uime sin a ni Tighearn an fhìon-lios? Thig e agus sgriosuidh e 'n tuath sin, agus bheir e 'm fìon-lios do dhaoinibh eile.

10 Nach do leugh sibh an scriobtuir so? A' chlach a dhiult na clachairean, rinneadh ceann na h-oisinn dith.

11 Rinneadh so leis an Tighearn, agus is iongantach e 'nar sùilibhne.

12 Agus dh'iarr iad breith air, ach bha eagal an t-sluaigh orra; oir thuig iad gu'm b'ann 'nan aghaidh féin a labhair e an cosamhlachd: agus air fhàgail doibh, dh'imich iad rompa.

13 Agus chuir iad d'a ionnsuidh dream àraidh do na Phairisich, agus do luchd leanmhuinn Heriod, chum's gu'n glacadh iad e 'na chainnt.

14 Agus air dhoibh-san teachd, thubhairt iad ris, A mhaighstir, a ta fhios aguinn gu bheil thusa firinneach, agus nach 'eil suim agad do neach air bith: oir cha 'n'eil thu ag

[p] *sràideis.* [r] *prìomh shagairt.*

amharc air gnùis dhaoine, ach a' teagasg slighe Dhé ann am firinn. Am bheil e ceaduichte cìs a thoirt do Cheasar, no nach 'eil? an tabhair, no nach tabhair sinn i?

15 Ach air dhasan an cealg a thuigsinn, thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh ga 'm bhuaireadh? thugaibh peghinn a m' ionnsuidh, chum's gu'm faiceam i.

16 Agus thug iad *d'a ionnsuidh* i, agus thubhirt e riu, Cò d'an ìomhaigh so, agus *cò d' am bun* an scrìobhadh so? Agus thubhairt iadsan ris, Do Cheasar.

17 Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e riu, Thugaibh do Cheasar na nithe a's le Ceasar. agus do Dhia na nithe a's le Dia. Agus ghabh iad iongantas ris.

18 An sin thainig na Sadusaich d'a ionnsuidh, a deir nach 'eil aiseirigh ann; agus dh'fheòraich iad deth, ag radh,

19 A mhaighstir, scrìobh Maois dhuinne, Nam faigheadh bràthair duine air bith bàs, agus gu 'm fàgadh e bean, agus nach fàgadh e clann, gu'n gabhadh a bhràthair a bhean *d'a ionnsuidh*, agus gu 'n togadh e sliochd d'a bhràthair.

20 A nis bha seachdnar bhràithrean ann: agus ghabh an ceud fhear dhiubh bean, agus an uair a dh'eug e, cha d'fhàg e sliochd.

21 Agus ghabh an dara fear i, agus fhuair esan bàs, agus cha mhò a dh'fhàg esan sliochd: agus an treas fear mar an ceudna.

22 Agus ghabh an t-seachdnar i, agus cha d'fhàg iad sliochd: 'nan déigh uile, chaochail a' bhean mar an ceudna.

23 Anns an aiseirigh uime sin, an uair a dh'éireas iad, cò dhiubh d'am bean i? oir bha i aig an t-seachdnar 'na mnaoi.

24 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Nach 'eil sibh uime sin ann am mearachd, do bhrigh nach 'eil eòlas agaibh air na scriobtuiribh, no air cumhachd Dhé?

25 Oir an uair a dh'éireas iad o na marbhaibh, ni 'm pòs iad, ni mò a bheirear am pòsadh iad: ach a ta iad mar na h-aingil *a ta* air nèamh.

26 Ach mu thimchioll nam marbh, *gu'n éirich iad, nach do* leugh sibh ann an leabhar Mhaois, cionnus a labhair Dia ris anns a' *phreas, ag radh*, Is mise Dia Abrahaim, agus Dia Isaaic, agus Dia Iacoib?

27 Cha 'n e Dia nam marbh e, ach Dia nam beo: tha sibhse uime sin ann am mearachd mòr.

28 Agus thainig neach do na scrìobhuichibh, agus an uair a chual e iadsan a' deasboireachd r'a chéile, agus a thuig e gu'n do fhreagair e gu maith iad, chuir e ceist air, C'i a' cheud àithne do na h-*àitheantaibh* uile?

29 Agus fhreagair Iosa e, 'S i so a' cheud àithne do na h-àitheantaibh uile, Eisd, O Israel, an Tighearna ar Dia-ne, is aon Tighearn e;

30 Agus gràdhaichidh tu an Tighearn do Dhia le d'uile chridhe, agus le d'uile anam, agus le d'uil' inntinn, agus le d'uile neart: 's e so a' cheud àithne,

31 Agus is cosmhuil an dara *àithne* rithe so, Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu féin: cha 'n'eil àithne eile ann a's mò na iad so.

32 Agus thubhairt an scrìobhuiche ris, Is maith, gu firinneach, a Mhaighstir, a thubhairt thu: oir a ta aon Dia ann, agus cha 'n'eil atharrach ann ach e féin.

33 Agus e bhi an a ghràdhachadh leis an uile chridhe, agus leis an uile thuigse, agus leis an uile anam, agus leis an uile neart, agus neach a ghràdhachadh a' choimhearsnaich mar e féin, is mò sin na na h-uile làn ìobairteloisgte, agus thabhartasa.

34 Agus air faicinn do Iosa gu 'n do fhreagair e gu tuigseach, thubhairt e ris, Cha 'n'eil thu fada o rioghachd Dhé. Agus cha robh a mhisnich aig neach air bith o sin suas ceist a chur air.

35 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e, a' teagasg anns an teampull, Cionnus a tha na scrìobhuichean ag radh gur e Criosd Mac Dhaibhidh?

36 Oir thubhairt Daibhidh *féin* tre 'n Spiorad naomh, Thubhairt an Tighearn ri m' Thighearn-sa, *Suidh* air mo làimh dheis, gus an cuir mi do naimhde 'nan stòl fa d' chosaibh,

37 Air an aobhar sin a ta Daibhidh
féin a' gairm a Thighearna dheth;
cionnus ma seadh is e mhac e? Agus
dh'éisd am mòr shluagh ris gu tait-
neach.
38 Agus thubhairt e riu 'na theag-
asg, Bithibh air bhur faicill o na
scriobhuichibh, leis an ionmhuinn
imeachd ann an culaidhibh fada, agus
fàilte *fhaotainn* air na margaibh,
39 Agus na ceud chaithriche anns na
sionagogaibh, agus na ceud àiteacha-
suidhe aig na féisdibh:
40 A dh'itheas suas tighean bhan-
trach, agus air sgàth deadh choslais a
ni ùrnuighean fada: gheibh iad sin
an dìteadh [s] a's mò.
41 Agus air do Iosa suidhe fa
chomhair àite-coimhid an ionmhais,
thug e fa'near cionnus a bha 'm pob-
ull a' cur an airgid anns an ionmhas:
agus chuir mòran do dhaoinibh saibhre
mòran ann.
42 Agus air teachd do bhantraich
bhochd, thilg i dà bhonn bheaga ann,
a ni feoirlin.
43 Agus air dha a dheisciobuil a
ghairm d'a ionnsuidh, thubhairt e riu,
Gu deimhin a deirim ribh, gu'n do
chuir a' bhantrach bhochd so tuilleadh
san ionmhas, na iadsan uile a thilg
ann.
44 Oir thilg iadsan uile ann d'am
mòr phailteas; ach thilg ise as a
gainne na bha aice uile, eadhon a
beathachadh gu h-iomlan.

CAIB. XIII.

1 *A ta Criosd ag innseadh roimh-laimh sgrios an teampuill: 9 Geur-leanmhuinn air son an t-soisgeil, 10 agus gur éigin an soisgeul a bhi air a shearmonachadh do gach uile chinneach: 14 Gu'n d'thig àmhghara mòra air na h-Iudhachaibh: 24 Dòigh a theachd-san chum breitheanais, &c.*

AGUS an uair a bha e dol a mach
as an teampull, thubhairt neach
d'a dheisciobluibh ris, A Mhaighstir,
feuch ciod e a' ghnè chlach so, agus
ciod e a' ghnè aitreibh so.
2 Agus fhreagair Iosa agus thubh-
airt e ris, Am faic thu 'n aitreabh
mhòr so? cha'n fhàgar clach air
muin cloiche, nach sgarar o chéile.
3 Agus air suidhe dha air sliabh
nan crann-ola, fa chomhair an teamp-
uill, dh'fheòraich Peadar, agus Seum-
as, agus Eoin, agus Aindreas os ìosal
deth,
4 Innis duinne c'uin a bhitheas na
nithe sin, agus ciod e 'n comhara
'nuair a bhitheas na nithe sin gu léir
air an coimhlionadh.
5 Agus fhreagair Iosa iad, agus
thòisich e air a radh, Thugaibh an
aire nach meall aon neach sibh.
6 Oir thig mòran ann am ainmse,
ag radh, Is mis e: agus meallaidh iad
mòran.
7 Agus an uair a chluinneas sibh
coganna, agus tuairisgeul [t] choganna,
na biodh buaireas oirbh: oir is éigin
iad so a theachd; ach cha '*n'eil* an
deireadh ann fathast.
8 Oir éiridh cinneach an aghaidh
cinnich, agus rioghachd an aghaidh
rioghachd: agus bithidh critheanna
talmhainn ann an iomadh àit, agus
bithidh gorta agus trioblaidean ann:
's iad sin toiseach dhòruinnean [u].
9 Ach thugaibh an aire dhuibh
féin: oir bheir iad thairis sibh do
chomhairlibh: agus anns na sionag-
ogaibh sgiùrsar sibh, agus cuirear
sibh an làthair uachdarana agus righ-
rean air mo shonsa, mar fhianuis
dhoibhsan [a].
10 Agus is éigin air tùs an soisgeul
a bhi air a shearmonachadh do na
h-uile chinneachaibh.
11 Ach an uair a bheir iad leo sibh,
'gar tabhairt thairis, na biodh e na
ro-chùram oirbh ciod e a labhras sibh,
agus na smuainichibh roimh-laimh
air: ach ge b'e ni a bheirear dhuibh
san uair sin féin, abraibh e: oir cha
sibhse ta labhairt, ach an Spiorad
naomh.
12 Agus bheir am bràthair a
bhràthair thairis chum bàis, agus an
t-athair a mhac: agus éiridh a' chlann
suas an aghaidh *am* pàranta, agus
bheir iad fa'near an cur gu bàs.
13 Agus bithidh sibh air bhur
fuathachadh leis na h-uile dhaoinibh
air sgàth m'ainmese: ach an ti a

[s] *peanas, damnadh.* [t] *iomraidhean.* [u] *àmhghara.* [a] *'nan aghaidhsan.*

bhuanaicheas chum na crìche, 's e so a shaorar.

14 Ach an uair a chì sibh gràinealachd an léir-sgrios, air an do labhair Daniel am fàidh, 'n a seasamh anns an ionad nach bu chòir dh'i (tuigeadh an ti a leughas) an sin teicheadh iadsan, a ta ann an tìr Iudea, chum nam beann:

15 Agus na d'thigeadh esan a ta air mullach an tighe, a nuas do'n tigh, agus na rachadh e steach, a thoirt ni air bith as a thigh.

16 Agus an ti 'ta sa' mhachair, na pilleadh e air ais a thogail fhalluinge leis.

17 Ach mo thruaigh iad na mnài sin a ta torrach, agus iadsan a ta toirt cìche sna làithibh sin!

18 Agus guidhibhse gun bhur teicheadh a bhi sa' gheamhradh.

19 Oir bithidh àmhghar anns na làithibh sin, amhuil nach robh a leithid ann o thoiseach na cruitheachd a chruthaich Dia, gus a nis, agus nach mò a bhitheas.

20 Agus mur giorraicheadh an Tighearn na làithean ud, cha rachadh feoil air bith as: ach air son an t-sluaigh thaghta, a thagh e féin, ghiorraich e na làithean ud.

21 Agus an sin ma their neach air bith ribh, Feuch, a ta Criosd an so, no, Feuch, a ta e 'n sin, na creidibh e.

22 Oir éiridh Criosdan bréige, agus fàidhean bréige, agus ni iad comharan, agus mìorbhuilean, chum, nam bu chomasach e, na daoine taghta fein a mhealladh.

23 Ach thugaibhs' an aire: feuch, roimh-innis mi dhuibh na h-uile nithe.

24 Ach anns na làithibh sin, an déigh an àmhghair ud, bithidh a' ghrian air a dorchachadh, agus cha toir a' ghealach a solus uaipe[b]:

25 Agus tuitidh reulta nèimhe, agus bithidh na cumhachdan a ta sna nèamhaibh air an crathadh.

26 Agus an sin chi iad Mac an duine a' teachd anns na neulaibh, maille ri mòr chumhachd, agus glòir.

27 Agus an sin cuiridh e aingil a mach, agus cruinnichidh e r'a chéile a dhaoine taghta féin o na ceithir gaothaibh, o leth-iomall na talmhainn[c] gu leth iomall nèimhe.

28 A nis fòghlumaibh cosamhlachd o 'n chraoibh-fhìge: an uair a bhitheas a geug a nis maoth, agus a chuireas i mach a duilleach, a ta fhios agaibh gu bheil an samhradh am fagus:

29 Agus mar an ceudna sibhse, an uair a chi sibh na nithese tachairt, biodh fhios agaibh gu bheil e 'm fagus, eadhon aig na dorsaibh.

30 Gu deimhin a deirim ribh, nach dtheid an linn so thairis, gus an coimhlionar na nithese uile.

31 Theid nèamh agus talamh seach: ach cha dtheid m' fhocailse seach a choidhch.

32 Ach cha 'n'eil fios an là no na h-uaire sin aig neach air bith, cha 'n'eil aig na h-ainglibh a ta air nèamh, no aig a' Mhac, ach aig an Athair.

33 Thugaibh fa'near, deanaibh faire agus ùrnuigh: oir cha 'n'eil fhios agaibh c'uin a thig an t-àm.

34 Oir a ta Mac an duine mar dhuine a chaidh air thuras, agus a dh'fhàg a thigh féin, agus a thug d'a sheirbhisich cumhachd, agus obair sin do gach neach, agus a thug àithne do'n dorsair faire a dheanamh.

35 Uime sin deanaibhse faire, (oir cha 'n'eil fhios agaibh c'uin a thig maighstir an tighe; an ann air feasgar, no air mheadhon-oidhche, no aig gairm-choileach, no anns a' mhaduinn)

36 An t-eagal air teachd dha gu h-obann, gu 'm faigh e sibh 'nar codal.

37 Agus na nithe a deirim ribhse, a deirim ris na h-uile dhaoinibh, Deanaibh faire.

CAIB. XIV.

1 *Comhairle an aghaidh Chriosd.* 3 *Dhòirteadh ola phrìseil air a cheann.* 10 *Reic Iudas a Mhaighstir air son airgid.* 12 *Tha Criosd fein ag innseadh roimh-laimh cionnus a bha e gu bhi air a bhrath le h-aon d'a dheisciobluibh.* 22 *Dh'òrduich e a Shuipeir, &c.*

AGUS bha a' chàisg, agus féisd an arain neo-ghoirtichte an

b *uaithe.* c *ginealach.*

déigh dà latha: agus dh'iarr na h-àrd
shagairt agus na scrìobhuichean,
cionnus a ghlacadh iad esan le feill,
agus a chuireadh iad gu bàs e.
2 Ach thubhairt iad, Cha 'n ann
air an fhéisd, air eagal gu'n éirich
buaireas am measg an t-sluaigh.
3 Agus air bhi dha ann am Betani,
ann an tigh Shimoin an lobhair, an
uair a bha e 'na shuidhe air bòrd,
thainig bean, aig an robh bocsa ala-
bastair do ola spicnaird, ro luach-
mhoir; agus bhris i 'm bocsa, agus
dhòirt i air a cheann e.
4 Agus bha cuid diubh diombach
annta fein, agus ag radh, C'ar 'son a
rinneadh an t-ana-caitheadh so air
an ola?
5 Oir dh'fheudadh i bhi air a
reiceadh air son tuilleadh 's tri cheud
peghinn, agus air a toirt do na bochd-
aibh. Agus rinn iad gearan 'na
h-aghaidh.
6 Ach thubhairt Iosa, Leigibh
leatha; c'ar son a ta sibh cur dragha
oirre? rinn i obair mhaith ormsa.
7 Oir a ta na bochdan a ghnàth
maille ribh, agus gu b'e uair is àill
libh feudaidh sibh maith a dheanamh
dhoibh: ach cha 'n'eil mise a ghnàth
agaibh.
8 Rinn i na dh'fheudadh i: thainig
i roimh-laimh a dh'ùngadh mo chuirp
chum adhlaic.
9 Gu deimhin a deirim ribh, Ge
b'e ball air bith air feadh an domhain
uile am bi an soisgeul so air a shear-
monachadh, bithidh mar an ceudna
an ni *so* a rinn i air innseadh, mar
chuimhne oirre.
10 Agus dh'imich Iudas Iscariot,
aon do'n dà fhear dheug, chum nan
àrd shagart, gu esan a bhrath dhoibh.
11 Agus air dhoibhsan *so* a chluinnt-
inn, bha iad aoibhneach, agus gheall
iad airgiod a thoirt da. Agus dh'iarr
e cionnus a dh'fheudadh e gu h-iom-
chuidh esan a bhrath.
12 Agus air a' cheud là do fhéisd
an arain neo-ghoirtichte, an uair bu
ghnàth leo an t-uan càisge a mharbh-
adh, a deir a dheisciobuil ris, C'àit an
toil leat sinne dhol a dh'ulluchadh,
chum's gu'n itheadh tu chàisg?
13 Agus chuir e dithis d'a dheis-
ciobluibh, agus a deir e riu, Rachaibh
a steach do'n bhaile, agus coinnichidh
duine sibh a' giulan soithich uisge:
leanaibh e.
14 Agus ge b'e àit an dtheid e
stigh, abraibhse ri fear-an-tighe, A
deir am Mhaighstir, C'àit am bheil
an seomar aoidheachd, anns an ith mi
a' chàisg maille re m' dheisciobluibh?
15 Agus nochdaidh esan dhuibh
seomar àrd, farsaing, 'na làn uidheam
agus deasuichte: an sin ulluichibh
dhuinn.
16 Agus chaidh a dheisciobuil a
mach, agus thainig iad do'n bhaile,
agus fhuair iad mar thubhairt e riu:
agus dh'ulluich iad a' chàisg.
17 Agus air teachd do'n fheasgar,
thainig esan maille ris an dà fhear
dheug.
18 Agus an uair a bha iad 'nan
suidhe, agus ag itheadh, thubhairt
Iosa, Gu deimhin a deirim ribh, gu'm
brath aon agaibhse, a ta 'g itheadh
maille rium, mise.
19 Agus thòisich iad air a bhi dubh-
ach, agus a radh ris an déigh a chéile,
Am mise e? agus fear eile, Am mise e?
20 Agus air freagairt dhasan thubh-
airt e riu, *Is* fear do'n dà fhear dheug
e, a ta tumadh maraon riumsa sa'
mhèis.
21 A ta Mac an duine gu deimhin
ag imeachd, mar a ta e scrìobhta uime,
ach is an-aoibhinn do'n fhear sin le m'
brathar Mac an duine: bu mhaith
do'n duine sin mur beirte riamh e.
22 Agus ag itheadh dhoibh, ghlac
Iosa aran, agus an déigh a bheann-
achadh, bhris e, agus thug e dhoibhsan
e, agus thubhairt e, Gabhaibh, ithibh:
is e so mo chorp-sa.
23 Agus air glacadh a' chupain,
agus air breith buidheachais, thug e
dhoibhsan e: agus dh'òl iad uile as.
24 Agus thubhairt e riu, Is i so
m'fhuilse na Tiomna'-nuaidh, a
dhòirtear air son mhòrain.
25 Gu deimhin a deirim ribh, Nach
òl mi ni's mò do thoradh na fìonain[d]
gus an là sin an òl mi nuadh e ann
an rioghachd Dhé.
26 Agus air dhoibh laoidh a sheinn,

d *fìneamhain.*

chaidh iad a mach gu sliabh nan crann-ola.

27 Agus thubhairt Iosa riu, Gheibh sibh uile oilbheum annams' an nochd: oir a ta e scriobhta, Buailidh mi am buachaille, agus sgapar na caoraich.

28 Ach an déigh dhomh éirigh, théid mi roimhibh do Ghalile.

29 Ach thubhairt Peadar ris, Ge do gheibh iadsan uile oilbheum annad, gidheadh cha '*n fhaigh* mise *e*.

30 Agus thubhairt Iosa ris, Gu deimhin a deirim riut, an diugh, air an oidhche so féin, mu'n goir an coileach dà uair, gu'n àicheadh thusa mi tri uairean.

31 Ach is ro mhòid a thubhairt esan, Ge do 's éigin domh am bàs fhulang maille riut, cha'n àicheadh mi choidhch thu. Agus mar sin thubhairt càch uile mar an ceudna.

32 *Agus thainig iad gu ionad d'am b'ainm Getsemane; agus thubhairt e r'a dheisciobluibh, Suidhibhs' an so,* gus an dean mise ùrnuigh.

33 Agus thug e leis Peadar, agus Seumas, agus Eoin, agus thòisich e air a bhi fuidh uamh-chrith, agus fuidh anabarra bròin.

34 Agus thubhairt e riu, Tha m'anam ro *bhròn*ach, eadhon gu bàs: fanaibhs' an so, agus *deanaibh* faire.

35 Agus air dol beagan air aghaidh dha, thuit e air an talamh, agus rinn e ùrnuigh, nam bu chomasach e, gu'n rachadh an uair thairis air.

36 Agus thubhairt e, Abba, Athair, a ta gach ni so-dheanta dhuitse, cuir an cupan so seachad orm: gidheadh, nior b'e an ni a b'àill leamsa, ach an ni a's toil leatsa.

37 Agus thainig e, agus fhuair e iadsan 'nan codal, agus thubhairt e ri Peadar, A Shimoin, am bheil thu a'd' chodal? nach b'urrainn thu faire a dheanamh aon uair?

38 Deanaibh faire agus ùrnuigh, chum nach tuit sibh am buaireadh: *a ta* 'n spiorad gu deimhin togarrach, ach *a ta* 'n fheoil anmhunn[c].

39 Agus air dha imeachd a rìs, rinn e ùrnuigh, ag radh nam briathar ceudna.

40 Agus air pilltinn dha, fhuair e iad a rìs 'nan codal, (*oir* bha 'n sùilean trom) agus cha robh *fhios* aca cionnus a bheireadh iad *freagradh* air.

41 Agus thainig e '*n treas uair*, agus thubhairt e riu, *Coidlibh roimhibh* a nis, agus gabhaibh fois: is leoir e, thainig an uair; feuch, a ta Mac an duine air a bhrath thairis do làmhaibh nam peacach.

42 Eiribh, imicheamaid; feuch, a ta 'n ti a bhrathas mise am fagus.

43 Agus air ball, air dha bhi fathast a' labhairt, thainig Iudas, aon do'n dà fhear dheug, agus sluagh mòr maille ris le cloidhibh agus bataibh, o na h-ard shagartaibh, agus na scrìobhuichibh, agus na seanairibh.

44 Agus bha 'n ti a bhrath esan air toirt comharaidh dhoibh, ag radh, Ge b'e neach d'an d'thoir mise pòg is e sin e; glacaibh e, agus thugaibh libh e gu tèarainte.

45 Agus air teachd dha, chaidh e air ball d'a ionnsuidhs', agus thubhairt e, Fàilte dhuit, a mhaighstir; agus phòg se e.

46 Agus chuir iadsan lamh ann, agus ghlac iad e.

47 Agus air tarruing claidheimh a dh'fhear do na bha làthair, bhuail e òglach an àrd shagairt, agus ghearr e chluas deth.

48 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, An d'thainig sibh a mach gu m' ghlacadhsa, mar gu b'ann an aghaidh fir-reubainn le cloidhibh agus *le* bataibh?

49 Bha mi gach là maille ribh san teampull, a' teagasg, agus cha do ghlac sibh mi: ach *a ta so* chum gu biodh na scriobtuirean air an coimhlionadh.

50 Agus air do na h-uile a thréigsinn, theich iad.

51 Agus lean òganach àraidh e, aig an robh lion-eudach air a chur m'a chorp lomnochd; agus rug na h-òganaich air.

52 Ach air dhasan an lion-eudach fhàgail, theich e lomnochd uatha.

53 Agus thug iad leo Iosa chum an ard shagairt: agus chruinnicheadh maraon ris na h-àrd shagairt uile,

[c] *lag*.

agus na seanairean, agus na scrìobhuichean.

54 Agus lean Peadar e fada uatha, gus an deachaidh e steach do thalla an àrd shagairt: agus bha e 'na shuidhe maille ris na seirbhisich, agus 'ga gharadh ris an teine.

55 Agus dh'iarr na h-àrd shagairt, agus a' chomhairle uile fianuis an aghaidh Iosa, chum a chur gu bàs; agus cha d'fhuair iad.

56 Oir rinn mòran dhaoine fianuis bhréige 'na aghaidh, ach cha do chòird am fianuis r'a chéile[f].

57 Agus air do dhream àraidh éirigh, thug iad fianuis bhréige 'na aghaidh, ag radh,

58 Chuala sinne e 'g radh, Leagaidh mi sios an teampull so, a rinneadh le làmhaibh, agus an trì làithibh, togaidh mi teampull eile, neo-dheanta le làmhaibh.

59 Agus mar sin féin cha robh am fianuis a' teachd r'a chéile.

60 Agus air éirigh suas do'n ard shagart sa' mheadhon, chuir e ceisd air Iosa, ag radh, Nach d'thoir thu freagradh [illegible] mu bheil iad so a' toirt fianuis a'd' aghaidh?

61 Ach d'fhan esan 'na thosd, agus cha do fhreagair e ni sam bith. A ris dh'fheoraich an t-ard shagart deth agus thubhairt e ris, An tu Criosd, Mac an Ti bheannuichte?

62 Agus thubhairt Iosa, Is mi: agus chi sibh Mac an duine 'na shuidhe air deas làimh cumhachd *Dhé*, agus a' teachd le neulaibh nèimhe.

63 An sin reub an t-àrd shagart eudach, agus thubhairt e, Ciod am feum a ta againn tuilleadh air fianuisibh?

64 Chuala sibh an toibheum: ciod i bhur barails'? Agus thug iad uile breth 'na aghaidh gu'n do thoill e 'm bàs.

65 Agus thòisich cuid diubh air smugaid a thilgeadh air, agus aghaidh fholach, agus a bhualadh le 'n dornaibh, agus a radh ris, Dean fàidheadaireachd: agus ghabh na seirbhisich le 'm basaibh air.

66 Agus air do Pheadar a bhi shìos anns an talla, thainig aon do bhan-oglachaibh an àrd shagairt:

67 Agus air faicinn Pheadair 'ga gharadh, agus air dh'i beachdachadh air, thubhairt i *ris*, Bha thusa cuideachd maille ri h-Iosa o Nasaret.

68 Ach dh'àicheadh esan, ag ràdh, Cha'n aithne dhomh, agus cha 'n'eil mi tuigsinn ciod a ta thu 'g ràdh. Agus chaidh esan a mach do'n fhordhorus[g]; agus ghoir an coileach.

69 Agus air do bhan-oglaich fhaicinn a ris, thòisich i air a ràdh riu-san a bha 'nan seasamh a làthair, Is ann diubh a ta 'm fear so.

70 Agus dh'àicheadh e ris. Agus an ceann beagain 'na dhéigh sin, thubhairt iadsan a bha 'nan seasamh a làthair a ris ri Peadar, Gu firinneach 's ann diubh sud thu: oir is Galiléach thu, agus is cosmhuil do chainnt *riu*.

71 Ach thòisich esan air mallachadh agus mionnachadh, *ag radh*, Cha 'n aithne dhomh an duine so mu 'm bheil sibh a' labhairt.

72 Agus ghoir an coileach an dara uair. Agus chuimhnich Peadar am focal a thubhairt Iosa ris, Mu 'n goir an coileach dà uair, àicheadhaidh tu mi tri uairean. Agus an uair a smuainich e air, ghuil e.

CAIB. XV.

1 *A ta Iosa air a thabhairt ceangailte an làthair Philait.* 15 *Air son glaodhaich an t-sluaigh tha mortair, eadhon Barabas, air a leigeil as, agus Iosa air a thoirt thairis gu bhi air a cheusadh:* 17 *Tha coron sgitheich air a chur air,* 19 *chaidh smugaid a thilgeadh air,* 20 *agus fanoid a dheanamh air.* 21 *Tha e fannachadh le giùlan a' chroinncheusaidh;* 27 *air a chrochadh eadar dà ghaduiche; &c.*

AGUS air ball sa' mhaduinn chum na h-àrd shagairt maille ris na seanairibh, agus na scrìobhuichibh, agus a' chomhairle gu h-iomlan, comhairle, agus air dhoibh Iosa a cheangal, thug iad leo e, agus thug iad thairis e do Philat.

[f] *cha robh am fianuis ionann, cha d'fhoghainn am fianuis.*
[g] *ugh-dorus, sgàth-thigh.*

2 Agus dh'fheòraich Pilat deth,
An tusa righ nan Iudhach? Agus
air freagairt dha, thubhairt e ris,
Thubhairt thu e.
3 Agus chuir na h-àrd shagairt
mòran do nithibh as a leth: ach cha
do fhreagair esan aon ni.
4 Agus chuir Pilat a rìs ceist air,
ag radh, Nach freagair thu ni sam
bith? feuch cia lìon nithe air am
bheil iad sin a' toirt fianuis a'd'
aghaidh.
5 Ach cha do fhreagair Iosa ni
sam bith tuilleadh; air chor as gu'n
do ghabh Pilat iongantas.
6 A nis air an fhéisd bu ghnàth
leis aon phriosunach, ge b'e air bith a
dh'iarradh iad, a leigeadh as doibh.
7 Agus bha *neach àraidh* d'am
b'ainm Barabas, ceangailte maille r'a
chompanachaibh ceannairce, muinnt-
ir a bha air deanamh mortaidh anns
a' cheannairc.
8 Agus air glaodhaich gu h-àrd
do 'n t-sluagh, thòisich iad air iarr-
aidh *air, a dheanamh* dhoibh mar a
rinn e 'n còmhnuidh.
9 Ach fhreagair Pilat iad, ag radh,
An àill libh gu'n cuir mi righ nan
Iudhach fa sgaoil duibh?
10 (*Oir bha fhios aige gu'm b'ann
tre fharmad a thug na h-àrd shagairt
thairis e*)
11 Ach bhrosnaich na h-àrd shag-
airt an sluagh, chum as gu'm b'fhearr
leis Barabas a chur fa sgaoil doibh.
12 Agus fhreagair Pilat, agus
thubhairt e riu a rìs, Ciod ma seadh
is àill libh mi a dheanamh ris *an
duine sin*, d' an goir sibh Righ nan
Iudhach?
13 Agus ghlaodh iad a rìs, Ceus e.
14 An sin thubhairt Pilat riu,
C'ar son, ciod e 'n t-olc a rinn e?
Ach bu ro mhòid a ghlaodh iadsan,
Ceus e.
15 Agus air do Philat bhi toil-
each gniomh taitneach a dheanamh
do'n t-sluagh, dh'fhuasgail e Barabas
dhoibh, agus thug e thairis Iosa, an
déigh dha *a* sgiùrsadh, chum a cheus-
aidh.
16 Agus thug na saighdearan leo
e steach do'n talla, eadhon cùirt an
uachdarain[h]: agus ghairm iad a'
chuideachd uile an ceann a chéile.
17 Agus chuir iad uime eudach
purpuir[i], agus air dhoibh coron
droighinn fhigheadh, chur iad air e,
18 Agus thòisich iad air beannach-
adh dha, *ag radh*, Fàilte dhuit, a
Righ nan Iudhach.
19 Agus bhuail iad sa' cheann e
le slait chuilce, agus thilg iad smug-
aid air, agus a' lùbadh *an* glùn, thug
iad urram dha.
20 Agus an déigh dhoibh fanoid
a dheanamh air, thug iad deth an
t-eudach purpuir, agus chuir iad eud-
ach féin uime, agus thug iad a mach
e chum's gu'n ceusadh iad e.
21 Agus dh'éignich iad duine
àraidh bha dol seachad, Simon o
Chirene, (athair Alecsandeir agus
Rufuis, a bha teachd as a' mhachair,)
chum a chrann-ceusaidh a ghiùlan.
22 Agus thug iad e gu ionad *d'am
b'ainm* Golgota, 's e sin air eadar-
theangachadh, àite claiginn.
23 Agus thug iad dha r'a òl fìon
air [illegible]: ach cha
do ghabh esan e.
24 Agus an uair a cheus iad e,
roinn iad a thrusgan, a' tilgeadh croinn
air, ciod a' chuid a bhiodh aig gach
duine dheth.
25 Agus bha 'n treas uair ann,
agus cheus iad e.
26 Agus bha scrìobhadh a chùis-
dhìtidh air a scrìobhadh os a cheann,
RIGH NAN IUDHACH.
27 Agus cheus iad maille ris dà
ghaduiche[l]; fear air a làimh dheis,
agus fear air a làimh chlì.
28 An sin choimhlionadh an scriob-
tuir, a thubhairt, Agus bha e air àir-
eamh am measg nan ciontach.
29 Agus thug iadsan a bha dol
seachad anacainnt dà, a' crathadh an
ceann, agus ag radh, O thusa a leagas
an teampull, agus a thogas e ann an
tri làithibh,
30 Fòir ort féin, agus tàr[m] a nuas
o'n chrann-cheusaidh.
31 Agus mar an ceudna thubhairt
na h-àrd shagairt agus na scrìobh-

h *pretorium.* i *corcuir.* l *dà chreachadair, dà fhear-reubainn.* m *thig.*

uichean r'a chéile, a' fanoid air, Shaor e daoin' eile, cha 'n'eil e comasach air e féin a shaoradh.

32 Thigeadh a nis Criosd Righ Israeil a nuas o'n chrann-cheusaidh, chum's gu'm faic agus gu'n creid sinn. Agus thug iadsan a chaidh cheusadh maille ris, anacainnt da.

33 Agus an uair a thainig an seathadh uair, bha dorchadas air an talamh uile, gu ruig an naothadh uair.

34 Agus air an naothadh uair dh'éigh Iosa le guth àrd, ag ràdh Eloi, Eloi, lama sebachtani ? is e sin, air eadar-theangachadh, Mo Dhia, Mo Dhia, c'ar son a thréig thu mi ?

35 Agus air cluinntinn *sin* do chuid diubhsan a bha 'nan seasamh a làthair, thubhairt iad, Feuch, a ta e gairm Eliais.

36 Agus ruith fear diubh, agus air dha spòng a lionadh do fhìon geur agus a cur air slait chuilce, thug e deoch dha, ag ràdh, Leigibh *leis* ; faiceamaid an dthig Elias g'a thoirt a nuas,

37 Agus air do Iosa éigheach le guth àrd, thug e suas an deo.

38 Agus bha a brat-roinn an teampuill air a reubadh 'na dhà chuid o mhullach gu ìochdar.

39 Agus an uair a chunnaic an ceannard-ceud, a bha 'na sheasamh fa chomhair, gu'n d'thug e suas an deo, a' glaodhaich mar sin, thubhairt e, Gu firinneach b'e 'n duine so Mac Dhé.

40 Agus bha mar an ceudna mnài am fad uatha ag amharc : 'nam measg sin bha Muire Magdalen. agus Muire màthair Sheumais bu lugha, agus Ioseis, agus Salome ;

41 Muinntir a lean e mar an ceudna, an uair a bha e an Galile, agus a bha fritheala dh dha ; agus mòran eile do mhnaibh a chaidh suas maille ris gu Hierusalem.

42 Agus a nis air teachd do'n fheasgar, (do bhrigh gu'm b'e *là* an ulluchaidh e, eadhon an là roimh 'n t-sàbaid)

43 Thainig Ioseph o Arimatea, comhairleach urramach, aig an robh mar an ceudna sùil ri rioghachd Dhé, agus chaidh e steach gu dàna dh'ionnsuidh Philait, agus dh iarr e corp Iosa.

44 Agus b'ioghnadh le Pilat ma bha e cheana marbh : Agus air dha an ceannard-ceud a ghairm, dh'fheòraich e dheth, An robh fad o fhuair e bàs.

45 Agus air dha fios fhaotainn o'n cheannard-ceud, thug e 'n corp do Ioseph.

46 Agus cheannaich esan lìon-eudach grinn, agus thug e nuas e, agus phaisg e san lìon-eudach e, agus chuir se e ann an uaigh [n] a chladhaicheadh a carraig, agus charuich e clach gu dorus na h-uaighe.

47 Agus dh'amhairc Muire Magdalen, agus Muire *màthair* Ioseis, air an àit an do chuireadh e.

C A I B. XVI.

1 Chuir aingeal an céill aiseirigh Chriosd do thri mnaibh. 9 Dh'-fhoillsicheadh Criosd do Mhuire Magdalen : 12 Chunncas e le dithis, a bha dol do'n dùthaich ; 14 an déigh sin leis na h-Abstoil, 15 a chuir e mach a shearmonachadh an t-soisgeil : 19 Agus chaidh e fein suas gu nèamh.

AGUS air dol do'n t-sàbaid seachad, cheannaich Muire Magdalen, agus Muire *màthair* Sheumais, agus Salome, spìosraidh deadh bholuidh [o], chum's air dhoibh teachd gu'n ùngadh iad e.

2 Agus thainig iad gu ro mhoch air maduinn a' cheud *là* do'n t-seachduin chum na h-uaighe, aig éirigh na gréine.

3 Agus thubhairt iad eatorra féin, Cò a charuicheas duinn a' chlach o dhorus na h-uaighe ?

4 (Agus air dhoibh amharc. chunnaic iad gu'n robh a' chlach air a h-atharrachdh air falbh) oir bha i ro mhòr.

5 Agus air dhoibh dol a stigh do 'n àit-adhlacaidh, chunnaic iad òganach 'na shuidhe air an làimh dheis, uim' an robh truscan fada geal ; agus bha eagal orra.

6 Agus thubhairt esan riu, Na

[n] *àit-adhlacaidh.*

[o] *luibhean cùbhraidh.*

biodh eagal oirbh : a ta sibh ag iarr-
aidh Iosa o Nasaret, a chéusadh :
dh'éirich e, cha 'n'eil e 'n so : faicibh
an t-àit anns an do chuir iad e,
7 Ach imichibh, innsibh d'a dheis-
ciobluibh agus do Pheadar, gu 'm
bheil e dol roimhibh do Ghalile : chi
sibh an sin e, mar thubhairt e ribh.
8 Agus air dol a mach dhoibh,
theich iad o'n uaigh ; oir bha ball-
chrith agus uamhunn orra : agus cha
dubhairt iad ni sam bith ri neach air
bith ; oir bha eagal orra.
9 Agus air éirigh do Iosa sa'
mhaduinn air a' cheud *là* do'n
t-seachduin, nochdadh e air tùs do
Mhuire Magdalen, as an do thilg e
seachd deamhain.
10 *Agus* air imeachd dh'ise, dh'innis
i sin dhoibhsan a bha maille ris, agus
iad ri bròn agus gul.
11 Agus iadsan, an uair a chual
iad gu'n robh e beo, agus gu 'm fac-
adh leatha-san e, cha do chreid iad.
12 'Na dhéigh sin, nochdadh e *do*
dhithis diubh ann an cruth eile, ag
imeachd dhoibh, agus iad a' dol do'n
dùthaich.
13 Agus dh'imich iadsan agus
dh'innis iad e do chàch : agus cha mhò
a chreid iad iadsan.
14 An déigh sin nochdadh e do 'n
aon fhear deug, agus iad 'nan suidhe
aig biadh, agus thilg e orra am mi-
chreidimh, agus an cruas-cridhe,
chionn nach do chreid iad iadsan a
chunnaic e an déigh dha éirigh.
15 Agus thubhairt e riu, Imichibh
air feadh an t-saoghail uile, agus
searmonaichibh an soisgeul do gach
dùil [p].
16 Ge b'e chreideas agus a bhaist-
ear, saorar e, ach ge b'e nach creid,
dìtear e.
17 Agus leanaidh na comharan so 'n
dream a chreideas : Ann am ainmse
tilgidh iad a mach deamhain, labh-
raidh iad le [r] teangaibh nuadha,
18 Togaidh siad nathraiche nimhe,
agus ma dh'òlas iad ni air bith marbh-
tach, cha chiùrr e iad ; cuiridh iad an
làmhan air daoinibh tinne, agus bith-
idh iad gu maith.
19 Mar sin an déigh do 'n Tigh-
earna labhairt riu, ghabhadh suas gu
neamh e, agus shuidh e air deas
làimh Dhé.
20 Agus air dhoibhsan dol a mach,
shearmonaich iad anns gach àit, air
bhi do 'n Tighearn a' co-oibreach-
adh leo, agus a' daingneachadh an
fhocail leis na comharaibh a lean e,
Amen.

AN SOISGEUL A REIR LUCAIS.

CAIB. I.

1 *Roimh-radh Lucais d'a shoisgeul gu h-iomlan.* 5 *Tha Eoin Baiste air a ghabhail am broinn a mhàthar,* 26 *agus Criosd air a ghabhail am broinn Mhuire.* 39 *Fàidheadaireachd Elisabet, agus Mhuire mu thimchioll Chriosd, &c.*

DO bhrigh gu'n do ghabh mòran
os laimh eachdraidh scrìobhadh
ann an ordugh air na nithibh sin a ta
air an coimhlionadh [s] 'nar measgne,
2 A réir mar a dh'aithris na daoine
sin dhuinne iad, a chunnaic iad o
thùs le 'n sùilibh, agus a bha 'nan
luchd frithealadh an fhocal :
3 Chunncas domhsa mar an ceud-
na, a Theophiluis ro òirdheirc, air
faotainn dearbh fhios nan uile nithe
dhomh o'n fhìor thoiseach, scrìobhadh
a'd' ionnsuidhs' an ordugh,
4 Chum's gu'm biodh fios agad air
cinnteachd nan nithe anns an deach-
aidh do theagasg.
5 BHA ann an làithibh Heroid
righ Iudea, sagart àraidh d'am

[p] *creutair.* [r] *ann an.* [s] *le làn dearbhadh air an creidsinn.*

b'ainm Sacharias, do sheal[t] Abia: agus
bha a bhean do nigheanaibh Aaroin,
agus *b'*ainm dh'i Elisabet.
6 Agus bha iad faraon ionraic
am fianuis Dé, ag imeachd ann an
uile àitheantaibh agus orduighibh an
Tighearna, gu neo-lochdach.
7 Agus cha robh duine cloinne
aca, do bhrigh gu'n robh Elisabet
neo-thorach[u], agus bha iad araon
aosmhor.
8 Agus tharladh am feadh a bha
esan a' frithealadh mar shagart an
làthair Dhé ann an ordugh a sheala,
9 A réir gnàtha na sagartachd,
b'e a chrannchur tùis a losgadh, air
dha dol a steach do theampull an
Tighearna.
10 Agus bha coimhthional an
t-sluaigh uile a' deanamh ùrnuigh a
muigh, ré àm na tùise.
11 Agus chunncas leis-san aingeal
an Tighearna 'na sheasamh air taobh
deas altaire na tùise.
12 Agus an uair a chunnaic Sa-
charias *e*, bha e fuidh thrioblaid, agus
thuit eagal air.
13 Ach thubhairt an t-aingeal ris,
Na gabh eagal, a Shachariais; oir
fhuair t-ùrnuigh éisdeachd, agus beir-
idh do bhean Elisabet mac dhuit,
agus bheir thu Eoin mar ainm air.
14 Agus bithidh aoibhneas agus
subhachas ort, agus ni mòran gaird-
eachas r'a bhreith.
15 Oir bithidh e mòr an làthair an
Tighearna, agus cha'n òl e fion no
deoch làidir; agus bithidh e air a
lìonadh leis an Spiorad naomha, eadh-
on o bhroinn a mhàthar.
16 Agus pillidh e mòran do chloinn
Israeil chum an Tighearna an Dé.
17 Agus théid e roimhe-san ann an
spiorad agus ann an cumhachd Eliais,
a thionndadh cridhe nan aithriche
chum na cloinne, agus nan easumhal
gu gliocas nam fìrean, a dh'ulluchadh
pobuill deas do 'n Tighearn.
18 Agus thubhairt Sacharias ris an
aingeal, Cionnus a bhios fhios so ag-
am? oir is seann duine mise, agus
a ta mo bhean aosmhor.
19 Agus fhreagair an t-aingeal
agus thubhairt e ris, Is mise Gabriel
a sheasas an làthair Dhé: agus chuir-
eadh mi a labhairt riutsa, agus a
dh'innseadh an naidheachd[a] mhaith
so dhuit.
20 Agus feuch, bithidh tu balbh
agus gun chomas labhairt, gus an là
anns an d'thig na nithese gu crìch,
chionn nach do chreid thu mo
bhriathrasa, a bhitheas air an coimh-
lionadh 'nan àm féin.
21 Agus bha 'm pobull a' feith-
eamh ri Sacharias, agus b'iongantach
leo a' mhoille a rinn e san teampull.
22 Agus air teachd a mach dha,
cha b'urrainn e labhairt riu: agus
thuig iad gu 'm fac e sealladh[b]
nèamhaidh san teampull: oir bha e
smèideadh orra, agus dh'fhan e 'na
thosd.
23 Agus tharladh, an uair a
choimhlionadh làithean a fhritheal-
aidh, gu 'n deachaidh e d'a thigh
féin.
24 Agus an *déigh* nan là sin
dh'fhàs a bhean Elisabet torrach
agus dh'fholaich si i féin rè chùig
mìos, ag ràdh,
25 Is ann mar so a rinn an Tigh-
earna dhomh anns na làithibh an
d'amhairc e orm, a thogail diom mo
mhaslaidh am measg dhaoine.
26 Agus anns an t-seathadh *mìos*,
chuireadh an t-aingeal Gabriel o
Dhia, gu cathair do Ghalile, d'am
b'ainm Nasaret,
27 Dh'ionnsuidh òigh a bha fa
cheangal pòsaidh aig fear d'am b'ainm
Ioseph, do thigh Dhaibhidh; agus *b'e*
ainm na h-òigh Muire.
28 Agus air dol a steach do 'n
aingeal d'a h-ionnsuidh, thubhairt e,
Fàilte dhuit, o thusa d'an do nochd-
adh mòr dheadh-ghean, *a ta* 'n Tigh-
earna maille riut: *is* beannuichte thu
am measg bhan.
29 Agus an uair a chunnaic i e,
bha i fa thrioblaid inntinn air son a
chainnte, agus a' reusonachadh ciod
a' ghnè altacha-beatha dh'fheudadh
bhi 'n so.
30 Agus thubhairt an t-aingeal
rithe, Na biodh eagal ort, a Mhuire:
oir fhuair thu deadh-ghean o Dhia.
31 Agus feuch, gabhaidh tu a'd'

[t] *chùrsa, roinn.* [u] *gun sliochd.* [a] *nuaidheachd, noimheachd,* [b] *taisbean.*

bhroinn, agus beiridh tu mac, agus bheir thu Iosa mar ainm air.

32 Bithidh e mòr, agus goirear Mac an Ti a's ro àirde dheth; agus bheir an Tighearna Dia dha righchaithir athar féin Dhaibhidh.

33 Agus bithidh e 'na Righ air tigh Iacoib gu bràth, agus chá bhi crioch air a rioghachd.

34 Agus thubhairt Muire ris an aingeal, Cionnus a bhitheas so, do bhrigh nach 'eil aithne agamsa air duine?

35 Agus fhreagair an t-aingeal agus thubhairt e rithe, Thig an Spiorad naomh ort, agus cuiridh cumhachd an Ti a's àirde sgàil ort: uime sin an ni naomha sin a bheirear leat, goirear Mac Dé dheth.

36 Agus feuch, do bhan-charaid Elisabet, a ta ise fein torrach air mac 'na sean aois; agus 's e so an seathadh mìos dh'i-se d'an goirteadh bean neo-thorach;

37 Oir cha 'n'eil ni sam bith do-dheanta do Dhia.

38 Agus thubhairt Muire, Feuch ban-oglach an Tighearna, biodh e dhomhsa réir t-fhocail. Agus dh'fhalbh an t-aingeal uaipe[c].

39 Agus air éirigh do Mhuire sna làithibh sin, chaidh i le cabhaig do dhùthaich nam beann, gu baile do Iuda,

40 Agus chaidh i steach do thigh Shachariais, agus chuir i fàilte air Elisabet.

41 Agus tharladh an uair a chual Elisabet beannachadh Mhuire, gu'n do leum an naoidhean 'na broinn: agus lìonadh Elisabet lèis an Spiorad naomha.

42 Agus ghlaodh i mach le guth àrd, agus thubhairt i, *Is* beannuicht' thu am measg bhan, agus *is* beannuichte toradh do bhronn.

43 Agus cionnus *a dh'éirich* so dhomhsa, gu'n d'thigeadh màthair mo Thighearna a'm' ionnsuidh?

44 Oir feuch, co luath 's a thainig fuaim do bheannachaidh a'm' chluasaibh, bhriosg an naoidhean le h-aoibhneas ann mo bhroinn.

45 Agus is beannuicht' ise a chreid: oir coimhlionar[d] na nithe a labhradh rithe leis an Tighearna.

46 Agus thubhairt Muire, A ta m'anam ag àrd-mholadh an Tighearna,

47 Agus a ta mo spiorad a' deanamh gairdeachais ann an Dia mo Shlanuighear:

48 Do bhrigh gu'n d'amhairc e air staid ìosail a bhan-oglaich: oir feuch, o so suas goiridh gach linn beannuichte dhiom.

49 Do bhrigh gu'n d'rinn an Ti a ta cumhachdach nithe mòra dhomh, agus *is* naomha ainm.

50 Agus *a ta* a thròcairsan o linn gu linn, do'n droing d'an eagal e.

51 Nochd e neart le ghairdean, sgap e na h-uaibhrich ann an smuaintibh an cridhe fein.

52 Thug e nuas na daoine cumhachdach o'n caithrichibh rìoghail, agus dh'àrduich e iadsan a bha ìosal.

53 Lion e [illegible] droing a bha ocrach le nithibh maithe, agus chuir e uaith na daoine saibhir falamh.

54 Rinn e comhnadh[e] ri Israel òglach féin, ann an cuimhneachadh a thròcair.

55 Mar a labhair e r'a aithrichibh, do Abraham agus d'a shliochd gu bràth.

56 Agus dh'fhan Muire maille rithe mu thimchioll thrì mìos, agus phill i d'a tigh féin.

57 A nis thainig làn inbhe Elisabet, gu'm biodh i air a h-aisead; agus rug i mac.

58 Agus chual a coimhearsnaich agus a càirde mar a nochd an Tighearna mòr thròcair dh'i: agus rinn iad gairdeachas maille rithe.

59 Agus tharladh air an ochdamh là gu'n d'thainig iad a thimchiollghearradh an naoidhein; agus ghoir iad Sacharias deth, a réir ainme athar.

60 Agus fhreagair a mhàthair, agus thubhairt i, Ni h-eadh; ach goirear Eoin deth.

61 Agus thubhairt iad rithe, Cha 'n'eil aon neach do d' chàirdibh d' an goirear an t-ainm so.

62 Agus smèid iad air athair, ciod an t-ainm a b'àill leis thoirt air.

[c] *uaithe.* [d] *a chreid gu'n coimhlionar.* [e] *congnamh.* *Eir.*

63 Agus air iarraidh clàir-sgrìobhaidh dhasan, sgrìobh e, ag ràdh, 'Se Eoin is ainm dha. Agus ghabh iad iongantas uile.

64 Agus air ball dh'fhosgladh a bheul, agus *dh' fhuasgladh* a theanga, agus labhair e, a' moladh Dhé.

65 Agus thainig eagal air an coimhearsnaich uile: agus dh' aithriseadh na nithe sin gu léir feadh dhùthaich àrd Iudea uile.

66 Agus iadsan uile a chuala *na nithe sin*, thaisg iad 'nan cridhe *iad*, ag ràdh, Ciod a' ghnè leinibh a bhitheas an so? Agus bha làmh an Tighearna maille ris.

67 Agus bha Sacharias athair air a lìonadh leis an Spiorad naomh, agus rinn e fàidheadaireachd, ag ràdh,

68 Gu mabeannuicht' an Tighearna Dia Israeil, air son gu'n d'fhiosraich e, agus gun d'thug e saorsa d'a phobull,

69 Agus gu'n do thog e suas dhuinne adharc slàinte, ann an tigh Dhaibhidh òglaich féin;

70 A réir mar a labhair e le beul fhàidhean naomha féin, a bha ann o thoiseach an t-saoghail;

71 A thabhairt saorsa dhuinn o ar naimhdibh, agus o làimh na muinntir sin uile le'm fuathach sinn:

72 A choimhlionadh na tròcair *a gheall e* d'ar n-aithrichibh, agus a chuimhneachadh a choimhcheangail naomha féin:

73 Na mionnan a mhionnaich e d'ar n-athair Abraham,

74 Gu'n d'thugadh e dhuinn, air bhi dhuinn air ar saoradh o làimh ar naimhde, gu'n deanamaid seirbhis dha as eugmhais eagail,

75 Ann an naomhachd agus an am fireantachd 'na làthair féin, uile làithean ar beatha.

76 Agus thusa, a leinibh, goirear dhiot Fàidh an Ti a's àirde: oir théid thu roimh aghaidh an Tighearna, a dh'ulluchadh a shlighe;

77 A thabhairt eòlais na slàinte d'a phobull, ann am maitheanas am peacanna,

78 Tre thròcair ro mhòir ar Dé-ne, leis an d'fhiosraich an ùr-mhaduinn o'n ionad a's àirde sinn,

79 A thoirt soluis dhoibhsan a ta 'nan suidhe ann an sgàil a' bhàis, a threòrachadh ar cos air slighe na sìth.

80 Agus dh'fhàs an leanabh, agus neartaicheadh an spiorad e, agus bha e san fhàsach gu là fhoillseachaidh do Israel.

CAIB. II.

1 *Tha Augustus a' meas Impireachd nan Romhanach uile. 6 Breith Chriosd: 8 Tha aingeal a' cur so an céill do na buachaillibh: 13 Tha mòran diubh a' cantuinn cliu do Dhia air a shon. 21 Tha Criosd air a thimchioll-ghearradh. 28 Tha Simeon agus Anna a' deanamh fàidheadaireachd mu thimchioll Chriosd; &c.*

AGUS tharladh sna làithibh sin, gu'n deachuidh ordugh a mach o Cheasar Augustus, an domhan uile a mheas[f].

2 (Agus rinneadh an ceud mheas so 'nuair a bha Cirenius 'na uachdaran air Siria)

3 Agus chaidh iad uile chum a bhi air am meas, gach aon fa leth d'a bhaile féin.

4 Agus chaidh Ioseph mar an ceudna suas o Ghalile, a baile Nasaret, do Iudea, gu baile Dhaibhidh, d'an goirear Betlehem, (do bhrigh gu'n robh e do thigh agus do shliochd Dhaibhidh)

5 Chum gu biodh e air a mheas maille re Muire a bha fa cheangal pòsaidh dha, agus i mòr-thorrach.

6 Agus tharladh, am feadh a bha iad an sin, gu'n do choimhlionadh làithean a h-ionbhe, chum i bhi air a h-aisead.

7 Agus rug i a ceud ghin mic, agus phaisg i e am brat-speilidh, agus chuir i 'na luidhe am prasaich e, do bhrigh nach robh àit aca san tigh òsda.

8 Agus bha anns an dùthaich sin buachaillean a' fantuinn a muigh, agus a' deanamh faire-oidhche air an treud.

9 Agus feuch, thainig aingeal an Tighearn' orra, agus dhealraich glòir

[f] *an impireachd uile a sgrìobhadh an cìs-chlàr.*

an Tighearna m'an *timchioll*; agus
ghabh iad eagal mòr.
10 Agus *thubhairt* an *t-aingeal*
riu, Na biodh eagal oirbh: oir feuch,
a ta mi 'g *innseadh dhuibh* deadh
sgéil mhòir *aoibhneis*, a bhitheas do'n
uile shluagh:
11 *Oir* rugadh dhuibh an diugh
Slànuighear, ann an cathair Dhaibh-
idh[g], neach is e Criosd an Tighear-
na.
12 Agus bithidh so 'na chomhara
dhuibh: Gheibh sibh an naoidhean
paisgte ann am brat-speilidh, 'na
luidhe am prasaich.
13 Agus air ball bha maille ris an
aingeal cuideachd mhòr do armailtibh
nèimhe, a' moladh Dhé, agus ag
ràdh.
14 Glòir do Dhia anns na h-àrd-
aibh, agus air talamh sìth, deadh
ghean do *dhaoinibh*.
15 *Agus tharladh*, 'nuair fa
dh'*fhalbh* na *h-aingil uatha* do
nèamh, gu'n dubhairt na *buachaill-
ean* r'a chèile, Rachamaid a nis
eadhon do Bhetlehem, agus faiceam-
aid an ni so a rinneadh, a dh'fhoill-
sich an Tighearna dhuinne.
16 Agus *thainig* iad gu grad, agus
fhuair iad Muire agus Ioseph, agus
an leanabh 'na luidhe sa' phrasaich.
17 Agus an *uair* a chunnaic iad
sin, dh'aithris iad an *ni* a dh'*innseadh*
dhoibh mu thimchioll an leinibh so.
18 Agus ghabh gach neach a
chuala so, iongantas ris na nithibh sin
a dh'innseadh dhoibh leis na buach-
aillibh.
19 Ach ghleidh Muire na nithe sin
uile, a' beachd-smuaineachadh orra[h]
'na cridhe.
20 Agus phill na buachaillean, a'
tabhairt glòir' agus molaidh do Dhia
air son nan nithe sin uile a chual agus
a chunnaic iad, a réir mar a dubhradh
riu.
21 Agus an uair a choimhlionadh
ochd làithean chum an leanabh a
thimchioll-ghearradh, thugadh IOSA
mar ainm air, eadhon an t-ainm a
ghoir an t-aingeal deth mun do
ghabhadh sa' bhroinn e.
22 *Agus an uair a choimhlionadh*
làithean a[i] *glanaidh*, a réir lagha
Mhaois, thug iad esan *gu Hierusa-
lem*, chum a thaisbeanadh do'n Tigh-
earna,
23 (Mar a ta e scrìobhta ann an
lagh an Tighearna, Gach ceud-ghin
mic a dh'fosglas a' bhrù, gairmear
naomha do'n Tighearn e)
24 Agus a thabhairt ìobairt a réir
mar a deirear ann an lagh an Tigh-
earna, Paidhir[l] thurtur, no dà chol-
uman òga.
25 Agus feuch, bha duine ann an
Hierusalem d'am b'ainm Simeon;
agus bha'n duine so ionraic agus
diadhaidh, agus bha dùil aige re sòlas
Israeil: agus bha'n Spiorad naomh
air.
26 Agus dh'fhoillsicheadh dha leis
an Spiorad naomh, nach faiceadh *e*
bàs, gus am faiceadh e Criosd an
Tighearna.
27 Agus thàinig e le treorachadh
an Spioraid do'n teampull: Agus an
uair a thug na *pàrantan* an leanabh
Iosa a stigh, chum's gu'n deanadh
iad *air-san a réir* gnàthachaidh an
lagha,
28 An sin ghlac esan 'na ucd[m]
e, agus bheannuich e Dia, agus
thubhairt e,
29 A nis, a Thighearna, ta thu
leigeadh do d' sheirbhiseach siubhal
an sìth, a réir d'fhocail;
30 Oir chunnaic mo shùile do
shlàinte,
31 A dh'ulluich thu roimh ghnùis
nan uile shluagh:
32 Solus a shoillseachadh nan
Cinneach, agus glòir do phobuill Is-
raeil.
33 Agus ghabh Ioseph agus a
mhàthair iongantas mu na nithibh a
labhradh uime.
34 Agus bheannuich Simeon iad,
agus thubhairt e ri Muire a mhàth-
air, Feuch, chuireadh an *leanabh* so
chum tuiteam agus aiseirigh mhòrain
ann an Israel, agus 'na chomhar an
aghaidh an labhrar:
35 (Agus théid claidheamh tre d'
anam-sa fein), chum's gu'm foill-

[g] *am baile Dhaibhidh*. [h] *'gan tomhas. Gr.* [i] *an.* [l] *Càraid.*
[m] *air a ghairdeinibh.*

sìchear smuainte cridheacha mhòr-ain.

36 Agus bha Anna ban-fhàidh, nighean Phanueil, do thréibh Aseir; *bha* i ro aosmhor, agus chaith i seachd bliadhna maille ri fear o àm dh'i bhi 'na h-òigh.

37 Agus bu bhantrach i mu thimchioll ceithir bliadhna agus ceithir fichead a dh'aois, nach deachaidh o'n teampull, a' deanamh seirbhis *do Dhia* a là agus a dh'oidhche le trosgadh agus le h-ùrnuigh.

38 Agus air teachd dh'ise a stigh san uair sin féin, thug i moladh do'n Tighearn, agus labhair i m'a thimchioll riusan uile aig an robh sùil ri saorsa ann an Ierusalem.

39 Agus an uair a choimhlion iad na h-uile nithe a réir lagha an Tighearna, phill iad do Ghalile, d'am baile féin Nasaret.

40 Agus dh'fhàs an leanabh, agus neartuicheadh an spiorad e, air a lìonadh le gliocas; agus bha gràsa Dhé air.

41 Agus chaidh a phàranta gach bliadhna gu Hierusalem, aig féill na càisge.

42 Agus air bhi dha dà bhliadhna dheug a dh' aois, chaidh iad suas gu Hierusalem, a réir gnàtha na féisde.

43 Agus air coimhlionadh nan là sin doibh, 'nuair a phill iadsan, dh'fhan an leanabh Iosa 'nan déigh ann an Hierusalem; agus cha robh fios aig Ioseph no aig a mhàthair air sin.

44 Ach air dhoibh a smaoilsinn gu'n robh e sa' chuideachd, dh'imich iad astar là; agus dh'iarr iad e measg an càirdean, agus an luchd eòlais.

45 Agus an uair nach d'fhuair iad e, phill iad gu Hierusalem, 'ga iarruidh.

46 Agus tharladh 'n déigh thri là, gu'n d'fhuair iad e san teampull, 'na shuidhe am meadhon an luchd teagaisg, araon 'gan éisdeachd, agus a' cur cheist orra.

47 Agus ghabh a' mhuinntir a chual e uile iongantas r'a thuigse agus r'a fhreagraibh.

48 Agus air dhoibh fhaicinn, ghlac uamhas iad: agus thubhairt a mhàthair ris, A mhic, c'ar son a rinn thu mar so oirnn? feuch, bha t'athair agus mise gu brònach ga d'iarruidh.

49 Agus thubhairt esan riu, C'ar son a bha sibh ga m' iarruidh? nach robh fhios agaibh gu'm bu chòir dhomhsa bhi ann an tigh m' Athar[n]?

50 Agus cha do thuig iadsan an ni a labhair e riu.

51 Agus chaidh e sìos maille riu, agus thainig e gu Nasaret, agus bha e ùmhal doibh: ach ghleidh a mhàthair na nithe sin uile 'na cridhe.

52 Agus thainig Iosa air aghaidh ann an gliocas agus am meudachd, agus ann an deadh-ghean aig Dia, agus aig daoinibh

CAIB. III

1 *Searmonachadh Eoin Bhaiste.* 15 *Fhianuis mu thimchioll Chriosd.* 20 *Chuir Herod Eoin am priosun.* 21 *Tha Criosd air a bhaisteadh, agus a' faghail fianuis o nèamh.* 23 *Aois agus sinnsireachd Chriosd.*

ANIS anns a' chùigeadh bliadhna deug do impireachd Thiberiuis Cheasair, air bhi do Phontius Pilat 'na uachdaran air Iudea, agus Herod 'na Thetrarch air Galile, agus Philip a bhràthair 'na Thetrarch air Iturea agus dùthaich Thrachonitis, agus Lisanias 'na Thetrarch air Abilene.

2 An uair a bha Annas agus Caiaphas 'nan àrd shagartaibh, thainig focal Dé chum Eoin mhic Shachariais anns an fhàsach.

3 Agus thainig e do'n dùthaich uile timchioll Iordain, a' searmonachadh baisteidh an aithreachais, chum maitheanais pheacanna;

4 Mar a ta e sgrìobhta ann an leabhar bhriathar an fhàidh Esaiais, ag ràdh, Guth an ti a dh'éigheas anns an fhàsach, Ulluichibh slighe an Tighearna, deanaibh a cheumanna dìreach.

5 Bithidh gach gleann air a lìonadh, agus gach beinn agus cnoc air an ìsleachadh; agus bithidh na nithe cama air an deanamh dìreach, agus na slighean garbha air an deanamh rèidh;

[n] *mu ghnothuichibh m' Athar.*

6 Agus chì *gach uile fheoil slàinte*
Dhé.
7 Uime sin thubhairt e ris an
t-sluagh a thainig a mach chum bhi
air am baisteadh leis, A shìol nan
nathraiche nimhe, cò thug rabhadh
dhuibhse teicheadh o'n fheirg a ta ri
teachd?
8 Air an aobhar sin thugaibh a
mach toradh iomchuidh an àithreach-
ais, agus na tòisichibh air a ràdh ann-
aibh fein, A ta Abraham 'na Athair
againn: oir a deirim ribh, gur com-
asach Dia do na clachaibh so air clann
a thogail suas do Abraham.
9 Agus a nis féin a ta 'n tuagh air
a cur ri bun nan craobh: air an aobh-
ar sin gach craobh nach toir a mach
toradh maith, gearrar sìos i, agus tilg-
ear san teine i.
10 Agus dh'fheòruich an sluagh
dheth, *ag radh, Ciod* uime sin a ni
sinne?
11 Agus fhreagair esan *agus thubh-
airt* e riu, An ti aig am bheil dà chòta,
roinneadh e ris an ti aig nach 'eil;
agus an ti aig am bheil biadh, dean-
adh e mar an ceudna.
12 Agus thainig mar an ceudna
cìs-mhaoir gu bhi air am baisteadh,
agus thubhairt iad ris, A mhaighstir,
ciod a ni sinne?
13 Agus thubhairt esan riu, Na
deanaibh[o] ni air bith os cionn na
dh'orduicheadh dhuibh.
14 Agus dh'fheòruich na saighd-
earan mar an ceudna dheth, ag ràdh,
Agus ciod a ni sinne? Agus thubh-
airt e riu, Na deanaibh foirneart air
neach sam bith, no casaid-bhréige,
agus bithibh toilichte le'r tuarasdal.
15 Agus air bhi do'n phobull a'
feitheamh, agus na h-uile dhaoine a'
reusonachadh 'nan cridheachaibh féin
mu thimchioll Eoin, am b'e Criosd a
bh'ann;
16 Fhreagair Eoin, ag ràdh riu
uile, Tha mise gu dearbh 'gar baist-
eadh le h-uisge; ach a ta neach a'
teachd is cumhachdaiche na mise,
agus cha'n airidh mise air barr-iall a
bhròg fhuasgladh: baistidh esan sibh
leis an Spiorad naomh, agus le teine.
17 Aig am bheil a ghuit[p] 'na
làimh, agus *ro-ghlanaidh* e ùrlar,
agus cruinnichidh e 'n cruineachd
d'a thaisg-thigh; ach loisgidh e am
moll le teine nach fheudar a mhùch-
adh.
18 Agus ag earalachadh mòrain
do nithibh eile, shearmonaich e do'n
t-sluagh.
19 Ach air do Herod an Tetrarch
bhi air a chronachadh leis air son He-
rodiais bean a bhràthar (Philip), agus
air son gach olc a rinn Herod,
20 Chuir e so ris gach olc eile,
gu'n do dhruid e Eoin am priosun.
21 Agus tharladh, 'nuair a bha 'n
sluagh uile air am baisteadh, air do
Iosa mar an ceudna bhi air a bhaist-
eadh, agus e ri ùrnuigh, gu'n d'fhosg-
ladh nèamh:
22 Agus gu'n d'thainig an Spiorad
naomh a nuas air an coslas corporra,
mar choluman, agus gu'n d'thainig
guth o nèamh, ag ràdh, Is tusa mo
Mhac gràdhach, am bheil mo mhòr
thlachd[r].
23 Agus thòisich Iosa féin air a
bhi mu thimchioll deich bliadhna
fichead a dh'aois, air dha bhi (réir
barail *dhaoine*) 'na mhac do Ioseph,
mhic Heli,
24 *Mhic* Mhatait, *mhic* Lebhi, *mhic*
Mhelchi, *mhic* Ianna, *mhic* Ioseiph,
25 *Mhic* Mhatatiais, *mhic* Amois,
mhic Nauim, *mhic* Esli, *mhic* Nage,
26 *Mhic* Mhaait, *mhic* Mhattatiais,
mhic Shumei, *mhic* Ioseiph, *mhic* Iu-
dah,
27 *Mhic* Ioanna, *mhic* Rhesa, *mhic*
Shorobabeil, *mhic* Shalatheil, *mhic*
Neri,
28 *Mhic* Mhelchi, *mhic* Adi, *mhic*
Choosaim, *mhic* Elmodaim, *mhic* Er,
29 *Mhic* Iose, *mhic* Elieseir, *mhic*
Ioreim, *mhic* Mhatait, *mhic* Lebhi,
30 *Mhic* Shimeoin, *mhic* Iudaih,
mhic Ioseiph, *mhic* Ionain, *mhic* Eli-
acim,
31 *Mhic* Mhelea, *mhic* Mhainain,
mhic Mhatata, *mhic* Natain, *mhic*
Dhaibhidh,
32 *Mhic* Iese, *mhic* Obeid, *mhic*
Bhoois, *mhic* Shalmoin, *mhic* Naas-
oin,
33 *Mhic* Aminadaib, *mhic* Araim,

[o] *togaibh.* [p] *inneal-fasgnaidh.* [r] *annadsa thu mi làn-toilichte.*

mhic Esroim, *mhic* Phareis, *mhic* Iu-
daih,
34 *Mhic* Iacoib, *mhic* Isaaic, *mhic*
Abrahaim, *mhic* Thara, *mhic* Nach-
oir,
35 *Mhic* Sharuich, *mhic* Ragau,
mhic Phaleic, *mhic* Ebeir, *mhic* Shala,
36 *Mhic* Chainain, *mhic* Arphac-
said, *mhic* Shem, *mhic* Noe, *mhic*
Lameich,
37 *Mhic* Mhatusala, *mhic* Enoich,
mhic Iareid, *mhic* Mhaleleeil, *mhic*
Chainain,
38 *Mhic* Enois, *mhic* Shet, *mhic*
Adhaimh, *mhic* Dhé.

CAIB. IV.

1 Buaireadh agus trosgadh Chriosd: 13 Tha e toirt buaidh air an diabhol; 14 a' toiseachadh ri searmonachadh, 16 Tha pobull Nasaret a' gabhail iongantais r'a fhoclaibh gràsmhor. 33 Tha e leigheas an duine san robh deamhan, 38 agus màthar-chéile Pheadair, &c.

AGUS air do Iosa bhi làn do'n
Spiorad naomh, phill e air ais
o Iordan, agus threòraicheadh e leis
an Spiorad do'n fhàsach,
2 Agus bha e air a bhuaireadh rè
dhà fhichead là leis an diabhol; agus
cha d'ith e ni sam bith anns na làith-
ibh sin: agus air dhoibh bhi air an
crìochnachadh, an sin dh'fhàs e oc-
rach.
3 Agus thubhairt an diabhol ris,
Ma's tu Mac Dhé, abair ris a' chloich
so bhi 'na h-aran.
4 Agus fhreagair Iosa e, ag ràdh,
A ta e sgrìobhta, nach ann le h-aran
a mhàin a thig duine beo, ach le gach
uile fhocal Dé.
5 Agus air do'n diabhol a thabh-
airt gu beinn àrd, nochd e dha uile
rioghachdan an domhain ann am
mionaid aimsire.
6 Agus thubhairt an diabhol ris,
Bheir mise an cumhachd so uile
dhuit, agus an glòir; oir thugadh
dhomhsa sin, agus bheir mi e do neach
air bith is toil leam.
7 Uime sin ma ni thu aoradh
dhomhsa, is leat iad uile.
8 Agus fhreagair Iosa agus thubh-
airt e ris, Tàr air mo chùlaobh, a
Shatain: oir a ta e sgrìobhta, Ni
thu aoradh do'n Tighearn do Dhia,
agus dhasan 'na aonar ni thu seir-
bhis.
9 Agus thug se e gu Hierusalem,
agus chuir e air binnein an teampuill
e, agus thubhairt e ris, Ma's tu Mac
Dhé, tilg thu féin sios as so.
10 Oir a ta e sgrìobhta, Bheir e
àithne d'a ainglibh mu d' thimchioll,
thusa a choimhead.
11 Agus togaidh iad suas thu 'nan
làmhaibh, air eagal gu'n buail thu
uair air bith do chos air cloich.
12 Agus air freagairt do Iosa,
thubhairt e ris, A dubhradh, Na
buair[t] thusa an Tighearna do Dhia.
13 Agus an uair a chrìochnuich
an diabhol am buaireadh uile, dh'im-
ich e uaith rè tamuill.
14 Agus phill Iosa ann an cumh-
achd an Spioraid chum Ghalile; agus
chaidh iomradhsan air feadh na dùcha
m'an cuairt gu h-iomlan.
15 Agus theagaisg e 'nan sionag-
ogaibh, a' faghail glòir o na h-uile
dhaoinibh.
16 Agus thainig e gu Nasaret, far
an d'àraicheadh e: agus chaidh e
steach, mar bu ghnàth leis, air latha
na sàbaid do'n t-sionagog, agus dh'éir-
ich e 'na sheasamh chum leughaidh.
17 Agus thugadh dha leabhar an
fhàidh Esaiais; agus air fosgladh an
leabhair dha, fhuair e 'n t-àit anns
an robh e sgrìobhta,
18 Tha Spiorad an Tighearna orm,
do bhrigh gu'n d'ùng e mi a shear-
monachadh an t-soisgeil do na bochd-
aibh; chuir e mi a shlànuchadh na
muinntir aig am bheil an cridhe
briste, a ghairm[u] fuasglaidh do na
braighdibh, agus aiseag an radhairc
do na dallaibh, a thoirt saorsa do'n
mhuinntir a ta brùite,
19 A shearmonachadh bliadhna
thaitnich an Tighearna.
20 Agus air dùnadh an leabhair
dha, thug e do'n fhear-frithealaidh e,
agus shuidh e: agus bha sùile na bha
san t-sionagog uile a' geur-amharc
airsan.
21 Agus thòisich e air a ràdh riu,

[t] *Na dearbh.* [u] *a shearmonachadh.*

An diugh a ta 'n *scriobtur* so air a choimhlionadh *ann bhur cluasaibh-se.*

22 Agus thug iad uile fianuis da, agus ghabh iad iongantas ris na briathraibh gràs-mhòr a thainig a mach as a bheul. Agus thubhairt iad, Nach e so mac Ioseiph?

23 Agus thubhairt e riu, Gun amharus thubhairt sibh rium an gnàth-fhocal so, A léigh, leighis thu féin: ge b'e air bith iad na nithe a chuala sinn a rinneadh *leat* an Capernaum, dean mar an ceudna iad an so a'd' dhùthaich féin.

24 Agus thubhairt e, Gu deimhin a deirim ribh, nach 'eil fàidh air bith taitneach 'na dhùthaich féin.

25 Ach gu firinneach a deirimse ribh, gu'n robh mòran bhantrach ann an Israel an làithibh Eliais, an uair a dhruideadh nèamh rè thri bliadhna agus shea mìos, agus a bha gorta mhòr air feadh na tìre uile:

26 Ach cha do chuireadh Elias dh'ionnsuidh aon diubh, ach gu Sarepta Shidoin, chum mnà a bha 'na bantraich,

27 Agus bha mòran lobhar ann an Israel ri linn Eliseuis an fhàidh; agus cha do ghlanadh a h-aon aca, ach Naaman an Sirianach.

28 Agus lìonadh iadsan uile a bha san t-sionagog le feirg, an uair a chual iad na nithe sin,

29 Agus air éirigh suas doibh, thilg iad a mach as a bhaile e, agus thug iad leo e gu mahuidh a' chnoic[a] (air an robh am baile togta) chum a thilgeadh sìos an coinneamh a chinn.

30 Ach air gabhail dhasan trìd am meadhon, dh'fhalbh e:

31 Agus chaidh e sìos gu Capernaum, baile do Ghalile, agus bha e 'gan teagasg air laithibh na sàbaid:

32 Agus ghabh iad iongantas r'a theagasg; do bhrigh gu'n robh fhocal le cumhachd.

33 Agus bha anns an t-sionagog duine anns an robh spiorad deamhain neo-ghloin, agus ghlaodh e le guth mòr,

34 *Ag ràdh, Leig leinn*; ciod e ar gnothuchne riut, Iosa o Nasaret? an d'thainig thu g'ar sgrios? a ta fhios agam cò thu, Aon naomha Dhé,

35 Agus chronaich Iosa e, ag ràdh, Bi d' thosd, agus thig a mach as. Agus air do'n deamhan esan a thilgeadh sìos 'nam meadhon, thainig e mach as, gun chiurradh sam bith a dheanamh air.

36 Agus thainig uamhas orra uile, agus labhair iad r'a chéile, ag ràdh, Ciod a' ghnè cainnte so? oir le h-ùghdarras agus cumhachd a ta e toirt orduigh do na spioradaibh neoghlana, agus tha iad a' teachd a mach.

37 Agus chaidh iomradh airsan a mach feadh gach àite do'n dùthaich m'an cuairt.

38 Agus dh'éirich e as an t-sionagog, agus chaidh e steach do thigh Shimoin: agus bha fiabhrus mòr air màthair chéile Shimoin; agus ghuidh iad air as a leth.

39 Agus air dha seasamh os a ceann[b], chronaich e 'm fiabhrus, agus dh'fhàg e i. Agus air éirigh dh'ise air ball, rinn i frithealadh dhoibh.

40 Agus ag dol fuidhe na gréine, iadsan uile aig an robh daoine euslan le iomadh gnè tinnis, thug iad d'a ionnsuidh iad; agus air dhasan a làmhan a chur air gach aon diubh, leighis e iad.

41 Agus chaidh mar an ceudna deamhain a mach a mòran, a' glaodhaich agus ag ràdh, Is tu Criosd Mac Dhé. Agus chronuich e iad, agus cha d'fhulaing e dhoibh labhairt: oir bha fhios aca gu'm b'esan Criosd.

42 Agus air teachd do'n là, chaidh e mach, agus dh'imich e gu àite fàsail: agus bha'n sluagh 'ga iarruidh, agus thainig iad d'a ionnsuidh, agus b'àill leo a chumail, chum's nach rachadh e uatha.

43 Ach thubhairt esan riu, Is éigin domhsa rioghachd Dhé a shearmonachadh do bhailtibh eile mar an ceudna: oir is ann chum so a chuireadh mi.

44 Agus shearmonaich e ann an sionagogaibh Ghalile.

[a] *beul-bhruach a' chnoic.* [b] *làimh rithe.*

CAIB. V.

*1 Tha Criosd a' teagasg an t-sluaigh
a luing Pheadair; 4 le tarruing
mhìorbhuileach éisg tha e a' nochd-
adh cionnus a bha e gu Peadar agus
a chompanaich a dheanamh 'nan
iasgairibh air daoinibh: 12 a' glan-
adh neach a bha 'na lobhar, 16 a'
deanamh ùrnuigh anns an fhàsach,
18 a' slànuchadh neach a bha tinn
leis a' phairilis, &c.*

AGUS tharladh, 'nuair a bha 'm
pobull a dlù-theannadh air, chum
focal Dé éisdeachd, gu'n do sheas e
làimh ri loch Ghenesaret,
2 Agus chunnaic e dà luing[c] 'nan
seasamh ri taobh an locha: ach bha
na h-iasgairean air dol a mach asda,
agus a' nigheadh *an* lìonta.
3 Agus air dha dol a steach do
aon do na longaibh bu le Simon,
dh'iarr e air dol a mach beagan o
thìr: agus air suidhe dhà, theagaisg
e 'n sluagh as an luing.
4 A nis an uair a sguir e do labh-
airt, thubhairt e ri Simon, Cuir a mach
chum na doimhne, agus leigibh sìos
bhur lìonta chum tarruing.
5 Agus fhreagair Simon, agus
thubhairt e ris, A mhaighstir, shaoth-
raich sinn feadh na h-oidhche uile,
agus cha do ghlac sinn ni sam bith:
ach air t'fhocal-sa leigidh mi sìos an
lìon.
6 Agus an uair a rinn iad so,
chuairtich iad tachdar[d] mòr éisg;
ionnus gu'n do bhriseadh an lìon.
7 Agus smèid iad air an compan-
achaibh, a bha san luing eile, teachd
agus còmhnadh a dheanamh leo. A-
gus thainig iad, agus lìon iad an dà
luing, ionnus gu'n robh iad an inbhe
dol fuidhe.
8 'Nuair a chunnaic Simon Pead-
ar *so*, thuit e sìos aig glùinibh Iosa,
ag ràdh, Imich uamsa, a Thighearn,
oir is duine peacach mi.
9 Oir ghlac uamhas e féin agus
iadsan uile bha maille ris, air son an
tarruing éisg a ghlac iad:
10 Agus mar an ceudna Seumas
agus Eoin, mic Shebede, a bha 'nan
companachaibh aig Simon. Agus
thubhairt Iosa ri Simon, Na biodh
eagal ort; as so suas glacaidh tu
daoine.
11 Agus an uair a thug iad an
longa gu tìr, air fàgail nan uile nithe
dhoibh, lean iad esan.
12 Agus an uair a bha esan ann
am baile àraidh, feuch, duine làn do
loibhre: agus air dha Iosa fhaicinn,
thuit e sìos air aghaidh, agus ghuidh
e air, ag ràdh, A Thighearn, ma's
toil leat, tha thu comasach air mise a
ghlanadh.
13 Agus shìn e *a* làmh, agus bhean
e ris, ag ràdh, Is toil leam; bi glan.
Agus air ball dh'fhàg an loibhre e.
14 Agus dh'àithn e dha, gun inns-
eadh do neach air bith: Ach imich,
agus nochd thu féin do'n t-sagart,
agus tabhair seachad air son do
ghlanaidh, mar a dh'àithn Maois,
mar fhianuis doibh.
15 Ach bu mhòid a sgaoileadh
iomradh-san: agus thainig sluagh
mòr an ceann a chéile chum éisd-
eachd, agus a bhi air an slànuchadh
leis o'n eucailibh.
16 Agus chaidh e air leth chum
an fhàsaich, agus rinn e ùrnuigh.
17 Agus tharladh air latha àraidh,
'nuair a bha e a' teagasg, gu'n robh
'nan suidhe *an sin* Phairisich agus
luchd teagaisg an lagha, a thainig as
gach uile bhaile do Ghalile, agus do
Iudea, agus *o* Ierusalem: agus bha
cumhachd an Tighearn' *a làthair* chum
an slànuchadh.
18 Agus feuch, dh'iomchair daoine
air leabaidh duine air an robh am
pairilis: agus dh'iarr iad a thabhairt
a steach, agus a chur 'na làthair-san.
19 Agus an uair nach d'fhuair
iad seòl air am feudadh iad a thoirt
a steach, le meud na cuideachd, chaidh
iad suas air an tigh, agus leig iad sìos
tre mhullach an tighe e féin agus a
leaba, anns a' mheadhon an làthair
Iosa.
20 Agus an uair a chunnaic e an
creidimh, thubhairt e ris, A dhuine,
tha do pheacaidh air am maitheadh
dhuit.
21 Agus thòisich na scrìobhuich-
ean agus na Phairisich air reusonach-
adh, ag ràdh, Cò e so a ta labhairt

[c] *bhàrc.* [d] *àireamh.*

toibheum? cò dh'fheudas peacaidh a mhaitheadh ach *Dia a mhàin?*

22 Ach air aithneachadh an smuainte do *Iosa, fhreagair* e agus thubhairt e riu, Ciod a ta sibh a' reusonachadh 'nar cridheachaibh?

23 Cò aca 's usadh a ràdh, Tha do pheacaidh air am maitheadh dhuit, no ràdh, Eirich agus imich?

24 Ach a chum's gu'm bi fios agaibh gu bheil cumhachd aig Mac an duine peacaidh a mhaitheadh air talamh, (thubhairt e ri fear na pairilis) A deirim riut, éirich, agus tog do leaba, agus imich do d' thigh.

25 Agus dh'éirich e air ball 'nan làthair, agus thog e *an leaba* air an robh e 'na luidhe, agus chaidh e d'a thigh féin, a' tabhairt glòir do Dhia.

26 Agus ghlac uamhas iad uile, agus thug iad glòir do Dhia, agus lionadh le h-eagal iad, ag ràdh, Chunnaic sinne nithe do-chreidsinn [c] an diugh.

27 Agus an déigh nan nithe sin, chaidh e mach, agus chunnaic e cismhaor d'am b'ainm Lebhi, 'na shuidhe aig àite togail na cìse: agus thubhairt e ris, Lean mise.

28 Agus air fàgail nan uile nithdha, dh'éirich e, agus lean se e.

29 Agus rinn Lebhi *féisd* mhòr dha 'na thigh *féin*: agus bha cuideachd mhòr do chìs-mhaoraibh, agus do mhuinntir eile a shuidh maille riu.

30 Agus rinn an serìobhuichean agus am Phairisich gearan an aghaidh a dheisciobul-san, ag ràdh, C'ar son a ta sibh ag itheadh, agus ag òl maille ri cìs-mhaoraibh agus ri peacachaibh?

31 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Cha'n 'eil feum aca-san a ta slàn air an léigh ach aca-san a ta tinn.

32 Cha d'thainig mise a ghairm nam fìrean, ach nam peacach chum aithreachais.

33 Agus thubhairt iadsan ris, C'ar son a ta deisciobuil Eoin gu tric ri trosgadh [f] agus a' deanamh ùrnuigh, agus mar an ceudna *deisciobuil* nam Phairiseach; ach a ta do dheisciobuilse 'g itheadh agus ag òl?

34 Agus thubhairt esan riu, A feud sibh a thoirt air cloinn seomair an fhir nuadh-phòsda trosgadh a dheanamh, am feadh a ta 'm fear nuadh-pòsda *maille riu?*

35 Ach thig na laithean an uair a bheirear am fear *nuadh*-pòsda uatha: an sin ni iad trosgadh anns na làithibh sin.

36 Agus labhair e mar an ceudna cosamhlachd riu, Cha chuir neach air bith mìr a dh'eudach nuadh air sean eudach: no, reubaidh an t-eudach nuadh e, agus cha d'thig am mìr do'n eudach nuadh ris an t-sean eudach.

37 Agus cha chuir duine sam bith fìon nuadh ann an seann searragaibh; no, brisidh am fìon nuadh na searragan, agus dòirtear e féin, agus caillear na searragan.

38 Ach is còir fìon nuadh a chur ann an searragaibh nuadha; agus *bithidh* iad araon tèarainte.

39 Agus cha 'n 'eil duine sam bith air dha sean *fhìon* òl, a dh'iarras air ball *fìon* nuadh: oir a *deir* e, Is e 'n sean *fhìon* is fearr.

CAIB. VI.

1 *Tha Criosd a' seanachadh doille nam Phairiseach mu thimchioll coimhead na sàbaid, le sgriobtur, reusan, agus miorbhuil, 13 a' taghadh dà abstol deug, 17 a' dàineachadh mhuinntir a bha tinn, 20 a' searmonachadh d'a dheisciobluibh mu bheannachdaibh agus mallachdaibh, &c.*

AGUS tharladh air a' cheud latha sàbaid an déigh an dara là *do fhéisd na càisge* [g], gu'n deachaidh e trìd na h-achaibh arbhair: agus spìon a dheisciobuil na diasan arbhair, agus dh'ith iad, an déigh *am* bruathadh le'n làmhaibh.

2 Agus thubhairt cuid do na Phairisich riu, C'ar son a ta sibh a' deanamh an ni nach 'eil ceaduichte r'a dheanamh air laithibh na sàbaid?

3 Agus freagair Iosa iad, agus thubhairt e, Nach do leugh sibhse an

[c] *iongantach.* [f] *trasgadh.* [g] *air an dara latha sàbaid an déigh na ceud* sàbaid.

ni so rinn Dhaibhidh, 'nuair a bha
ocras air féin, agus orrasan a bha
maille ris:
4 Cionnus a chaidh e steach do
thigh Dhé, agus a ghabh e aran na
fianuis[h], agus a dh'ith e fein, agus a
thug e mar an ceudna dhoibhsan a
bha maille ris, ni nach 'eil cead-
uichte itheadh ach do na sagartaibh
a mhàin?
5 Agus thubhairt e riu, Is Tigh-
earna Mac an duine air an t-sàbaid
féin.
6 Tharladh mar an ceudna air sà-
baid eile, gu 'n deachaidh e steach
do'n t-sionagog, agus gu'n do theag-
aisg e; agus bha an sin duine, aig
an robh a làmh dheas air seargadh.
7 Agus rinn na scrìobhuichean
agus na Phairisich faire, *a dh'fheuch-
ainn* an leighiseadh e air an t-sàbaid,
chum's gu'm faigheadh iad cùis-dhìt-
idh[i] 'na aghaidh.
8 Ach thuig esan an smuaintean,
agus thubhairt e ris an duine aig an
robh an làmh sheargta, Eirich, agus
seas a mach sa' mheadhon. Agus
dh'éirich esan, agus sheas e.
9 An sin thubhairt Iosa riu,
Feòruichidh mise aon ni dhibh, Am
bheil e ceaduichte air laithibh na sà-
baid maith a dhèanamh, no olc?
anam a shaoradh, no a sgrios?
10 Agus air dha amharc m'an
cuairt orra uile, thubhairt e ris an
duine, Sìn a mach do làmh. Agus
rinn e sin: agus dh'aisigeadh a làmh
slàn da mar an *làmh* eile.
11 Agus lìonadh iadsan do chu-
thach agus labhair iad r'a chéile, ciod
a dheanadh iad ri h-Iosa.
12 Agus anns na laithibh sin
chaidh esan gu beinn a dheanamh
ùrnuigh, agus bhuanaich e rè na
h-oidhche ann an ùrnuigh ri Dia[l].
13 Agus air teachd do'n là, ghairm
e d'a ionnsuidh a dheisciobuil: agus
thagh e dà fhear dheug asda, d'an
do ghoir e Abstoil:
14 Simon (a dh'ainmich e mar an
ceudna Peadar) agus Aindreas a
bhràthair, Seumas agus Eoin, Philip
agus Bartolomeus,
15 Mata agus Tomas, Seumas *mac*
Alpheuis, agus Simon d'an goirear
Selotes,
16 Iudas *bràthair* Sheumais, agus
Iudas Iscariot, esan a bha 'na fhear-
brathaidh.
17 Agus thainig e nuas leo, agus
sheas e air ionad còmhnard, agus
coimhthional a dheisciobul, agus
buidheann mhòr shluaigh o Iudea
uile agus o Hierusalem, agus o chois
fairge Thiruis agus Shidoin, muinn-
tir a thainig g'a éisdeachd, agus gu
bhi air an leigheas o'n euslaintibh;
18 Agus iadsan a bha air am pian-
adh le spioradaibh neo-ghlana: agus
leighiseadh iad.
19 Agus dh'iarr an sluagh uile
beantuinn ris: oir chaidh cumhachd
a mach as, agus shlànuich e iad
uile.
20 Agus thog e suas a shùilean air
a dheisciobluibh, agus thubhairt e, *Is*
beannuichte *sibhse* ta bochd: oir is
libh rioghachd Dhé.
21 *Is* beannuichte *sibhse* ta ocrach
a nis: oir sàsuichear sibh. *Is* beann-
uichte *sibhse* ta caoidh a nis, oir
gàiridh sibh.
22 *Is* beannuichte sibh 'nuair a
bheir daoine fuath dhuibh, agus a
chuireas iad as an cuideachd sibh,
agus a bheir iad cainnt mhaslach
dhuibh, agus a thilgeas iad a mach
bhur n-ainm mar olc, air son Mhic
an duine.
23 Deanaibhse gairdeachas san là
sin, agus leumaibh le h-aoibhneas:
oir feuch, is mòr bhur duais air
nèamh: oir is ann mar sin a rinn an
aithriche air na fàidhibh.
24 Ach is anaoibhinn duibhse ta
saibhir: oir fhuair sibh bhur sòlas.
25 Is anaoibhinn duibhse ta sàith-
each: oir bithidh ocras oirbh. Is
anaoibhinn duibhse ta gàireachdaich a
nis: oir ni sibh bròn agus gul.
26 Is anaoibhinn duibhse 'nuair a
labhras daoine[m] maith umaibh: oir
is ann mar sin a rinn an aithriche ris
na fàidhibh bréige.
27 Ach a deirim ribhse ta 'g éisd-
eachd, Gràdhaichibh bhur naimhde,

[h] *an t-aran taisbeanta.* [i] *cùis-chasaid.* [l] *tigh ùrnuigh Dhé.*
[m] *na h-uile dhaoine.*

deanaibh maith orrasan le'm fuathach
sibh:
28 Beannuichibh iadsan a ta 'gar
mallachadh, agus deanaibh ùrnuigh
air son na muinntir a ta buntuinn
gu naimhdeil ribh.
29 Ris an ti a bhuaileas tu air aon
ghial, cum an gial eile; agus do'n ti
a bheir t'fhalluing dhiot, na bac do
chòta mar an ceudna.
30 Tabhair do gach neach a dh'iarr-
as ort; agus o'n neach a bheir uait
do mhaoin, na iarr air ais *i*.
31 Agus mar a b'àill libh daoine
dheanamh dhuibh, deanaibhse mar
an ceudna dhoibhsan.
32 Oir ma ghràdhaicheas sibh iad-
san aig am bheil gràdh dhuibh, ciod
am buidheachas a ta agaibh? oir
gràdhaichidh peacaich féin an droing
aig am bheil gràdh dhoibh.
33 Agus ma ni sibh maith do'n
mhuinntir a ni maith dhuibh, ciod
am buidheachas a ta agaibh? oir ni
peacaich an ni so fein mar an ceud-
na.
34 Agus ma bheir sibh iasachd[n]
dhoibhsan o'm bheil dùil agaibh ri
fhaotainn a rìs, ciod am buidheachas
a ta agaibh? oir bheir peacaich fein
iasachd do pheacachaibh, chum
gu'm *faigh* iad uiread a rìs.
35 Ach gràdhaichibhse bhur
naimhde, agus deanaibh maith, agus
thugaibh iasachd, gun dùil a bhi
agaibh ri ni sam bith 'na éiric[o]:
agus bithidh bhur duais mòr, agus
bithidh sibh 'nar cloinn do'n Ti a's
airde: oir a ta esan tabhartach
dhoibhsan a ta mi-thaingeal agus olc.
36 Bithibhse uime sin tròcaireach,
mar a ta bhur n-Athair tròcaireach.
37 Agus na tugaibh breth, agus
cha toirear breth oirbh: na dìtibh,
agus cha ditear sibh: thugaibh maith-
eanas, agus bheirear maitheanas
dhuibh.
38 Thugaibh uaibh, agus bheirear
dhuibh; deadh thomhas, air a gheinn-
eadh, agus air a chrathadh ri chéile,
agus a' cur thairis, bheir daoine ann
bhur n-uchd; oir leis an tomhas le'n
tomhais sibh, tomhaisear dhuibh a
rìs.
39 Agus labhair e cosamhlachd
riu, Am feud an dall dall a threòr-
achadh? nach tuit iad araon ann
an slochd?
40 Cha 'n'eil an deisbiobul os
ceann a mhaighstir: ach ge b'e neach
a ta coimhlionta, bithidh e mar a
mhaighstir.
41 Agus c'ar son a ta thu faicinn
an smùirnein a ta an sùil do bhràthar,
agus nach 'eil thu toirt fainear an
t-sail a ta ann do shùil féin?
42 No cionnus a dh'fheudas tu
ràdh ri d' *bhràthair*, A bhràthair, leig
dhomh an smùirnein a thoirt a d'
shùil, agus nach 'eil thu toirt fainear
an t-sail a ta ann do shùil féin? A
chealgair, tilg a mach air tùs an
t-sail as do shùil féin, agus an sin is
léir dhuit gu soillear an smùirnein a
ta ann an sùil do bhràthar a thoirt
aisde.
43 Oir cha deadh chraobh a bheir
a mach droch thoradh: agus cha
droch chraobh a bheir a mach deadh
thoradh.
44 Oir aithnichear gach craobh
air a toradh: oir cha tionail daoine
fìgeis do dhroighionn, no caoran
fìona do'n fheair-dhris.
45 Bheir duine maith ni maith a
mach a deadh ionmhas a chridhe:
agus bheir droch dhuine ni olc a mach
a droch ionmhas a chridhe: oir is
ann a pailteas a' chridhe a labhras a
bheul.
46 Agus c'a'r son a ghoireas sibh, a
Thighearn, a Thighearn, dhiomsa,
agus nach dean sibh na nithe a deir-
im?
47 Gach neach a thig a m' ionn-
suidhse, agus a chluinneas mo
bhriathra, agus a ni iad, feuchaidh
mi dhuibh cia ris is cosmhuil e.
48 Is cosmhuil e ri duine a thog
tigh, agus a chladhaich domhain,
agus a chuir a bhunait air carraig:
agus an uair a thainig an tuil, bhuail
an sruth gu dian air an tigh sin, agus
cha b'urrainn e charachadh; oir bha e
air a shuidheachadh[p] air carraig.
49 Ach an ti a chluinneas, agus
nach dean, is cosmhuil e ri duine
a thog tigh air an talamh gun bhun-

[n] *iasgheall.* [o] *gun bhur dochas a chall.* [p] *stéidheachadh.*

ait, air an do bhuail an sruth gu dian,
agus air ball thuit e; agus bu mhòr
tuiteam an tighe sin.

CAIB. VII.

1 *Air do Chriosd creidimh bu mhò fhaotainn ann an ceannard-ceud a bha 'na Gheintileach, na ann an aon neach do na h-Iudhachaibh,* 10 *leighis e sheirbhiseach gun teachd d'a ionnsuidh,* 11 *Tha e togail mic na bantraich ann 'an Nain o'n bhàs,* 19 *a' dearbhadh do theachdairibh Eoin, le oibribh miorbhuileach a rinn e 'nan làthair, gu'm b'e féin an Criosd a bha ri teachd,* 24 *a' nochdadh do'n t-sluagh ciod i a bharail mu Eoin, &c.*

A NIS an uair a chrìochnaich e a
bhriathrasan uile ann an éisdeachd
an t-sluaigh, chaidh e steach
do Chapernaum.
2 Agus bha seirbhiseach ceannairdceud
àraidh, a b'ionmhuinn leis, gu
tinn, agus ri h-uchd bàis.
3 Agus air cluinntinn mu Iosa
dha, chuir e seanairean nan Iudhach
d'a ionnsuidh, a' cur impidh air gu'n
d'thigeadh e, agus gu'n leighiseadh e
a sheirbhiseach.
4 Agus a nuair a thainig iad gu
h-Iosa, ghuidh iad air gu dùrachdach,
ag ràdh, Gu'm b'airidh e gu'n
deanadh esan so dha:
5 Oir is toigh leis ar cinneach-ne,
agus thog esan dhuinn sionagog [r].
6 Agus chaidh Iosa maille riu.
Ach air dha bhi nis fagus do'n tigh,
chuir an ceannard-ceud càirde d'a
ionnsuidh, ag ràdh ris, A Thighearn,
na cuir dragh ort féin, oir cha'n
airidh mise gu'n rachadh tu steach
fa m' chleith
7 Uime sin cha mhò a mheas mi
gu'm b'airidh mi féin air teachd a
t'ionnsuidh: ach *a mhàin* abair am
focal, agus slànuichear m' òglach.
8 Oir is duine mise féin air mo
chur fa ùghdarras, aig am bheil saighdeara
fum, agus a deirim ris an fhear
so, Imich, agus imichidh e: agus ri
fear eile, Thig, agus thig e: agus ri
m' sheirbhiseach, Dean so, agus ni
se e.
9 Agus air cluinntinn nan nithe so
do Iosa, ghabh e iongantas ris, agus
air tionndadh dha, thubhairt e ris an
t-sluagh a lean e, A deirim ribh, nach
d'fhuair mi creidimh co mòr as so,
ann an Israeil féin.
10 Agus air pilltinn air an ais do'n
tigh do na teachdairibh a chuireadh
d'a ionnsuidh, fhuair iad an seirbhiseach
a bha tinn, slàn.
11 Agus tharladh an là 'na dhéigh
sin, gu'n deachaidh e chum baile
d'an goirear Nain; agus chaidh a
dheisciobuil [s] maille ris, agus sluagh
mòr.
12 A nis an uair a thainig e 'm
fagus do gheatadh a' bhaile, feuch,
ghiùlaineadh a mach duine marbh,
aon mhac a mhàthar, agus bu bhantrach
i: agus bha sluagh mòr do
mhuinntir a' bhaile maille rithe.
13 Agus an uair a chunnaic an
Tighearn i, ghabh e truas dith, agus
thubhairt e rithe, Na guil.
14 Agus thainig e agus bhean e
ris a' ghiùlan [t], (agus sheas iadsan a
bha 'ga iomchar) agus thubhairt e,
Oganaich, a deirim riut, éirich.
15 Agus dh'éirich an duine bha
marbh 'na shuidhe, agus thòisich e
air labhairt: agus thug e d'a mhàthair
e.
16 Agus ghlac eagal *iad* uile: agus
thug iad glòir do Dhia, ag ràdh,
Dh'éirich fàidh mòr 'nar measg-ne;
agus, Dh'amhairc Dia air a shluagh
féin.
17 Agus chaidh an t-iomradh so
mach airsan air feadh Iudea uile,
agus na dùcha m'an cuairt uile.
18 Agus dh'innis a dheisciobuil do
Eoin mu thimchioll nan nithe sin
uile.
19 Agus ghairm Eoin d'a ionnsuidh
dithis àraidh d'a dheisciobluibh,
agus chuir e iad gu h-Iosa, ag ràdh,
An tusa esan a bha ri teachd, no'm
bi sùil againn ri neach eile:
20 Agus air teachd do na daoinibh
d'a ionnsuidh, thubhairt iad, Chuir
Eoin Baiste sinne a'd' ionnsuidh, ag
ràdh, An tusa 'n ti a bha ri teachd,
no 'm bi sùil againn ri neach eile?
21 Agus anns an uair sin féin

[r] *thog esan ar sionagog.* [s] *mòran d'a dheisciobluibh.* [t] *chiste mhairbh.*

leighis e mòran o 'n euslaintibh agus o'n plàighibh, agus o dhroch spioradaibh, agus thug e 'n radharc do mhòran a bha dall.

22 Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e riu, Imichibhse agus innsibh do Eoin na nithe a chunnaic agus a chuala sibh, gu'm bheil na doill a' faicinn, na bacaich ag imeachd, na lobhair air an glanadh, na bodhair a' cluinntinn, na mairbh air an dùsgadh, an soisgeul air a shearmonachadh do na bochdaibh.

23 Agus is beannuicht' esan nach faigh oilbheum annamsa [u].

24 Agus an uair a dh'fhalbh teachdairean Eoin, thòisich e air labhairt ris an t-sluagh mu thimchioll Eoin, Ciod an ni a chaidh sibh a mach do'n fhàsach a dh'fhaicinn? an i cuilc air a crathadh le gaoith?

25 Ach *ciod e an ni chaidh* sibh a mach a *dh'fhaicinn*? an e duine air a sgeadachadh ann an eudach mìn? feuch, iadsan a ta sgeadaichte le eudach rìomhach, agus a' caitheadh am beatha gu sòghail, is ann an cùirtibh nan rìgh a ta iad.

26 Ach ciod e an ni chaidh sibh a mach a dh'fhaicinn? an e fàidh? seadh, a deirim ribh, agus ni's mò na *fàidh*.

27 Is e so an *ti* mu'm bheil e sgrìobhta, Feuch, cuiream mo theachdaire roimh do ghnùis, a dh'ulluicheas do shlighe romhad.

28 Oir a deirim ribh, 'Nam measgsan a rugadh le mnaibh, cha 'n'eil fàidh a's mò na Eoin Baiste: gidheadh an ti a's lugha ann an rìoghachd Dhé, is mò e na esan.

29 Agus dh'fhìreanaich am pobull uile a chual *e*, agus na cìs-mhaoir Dia, air dhoibh bhi air am baisteadh le baisteadh Eoin.

30 Ach chuir na Phairisich agus an luchd lagha cùl ri comhairle Dhé d'an taobh féin, am feadh nach do bhaisteadh iad leis.

31 (Agus thubhairt an Tighearna,) Cò ris uime sin a shamhlaicheas mi daoine a' ghinealaich so? agus cò ris a ta iad cosmhuil?

32 A ta iad cosmhuil ri cloinn a ta 'nan suidhe sa' mhargadh, agus a dh'éigheas r'a *chéile*, ag ràdh, Rinn sinne pìobaireachd dhuibhse, agus cha d'rinn sibhse dannsa: rinn sinne tuireadh dhuibhse, agus cha d'rinn sibhse gul.

33 Oir thainig Eoin Baiste, cha'n ann ag itheadh arain, no 'g òl fìona; agus their sibh, A ta deamhan aige.

34 Thainig Mac an duine ag itheadh 's ag òl; agus their sibh, Feuch duine geòcach agus pòitear-fìona, caraid chìs-mhaor agus pheacach.

35 Ach a ta gliocas air a fìreanachadh leis a cloinn uile.

36 Agus dh'iarr duine àraidh do na Phairisich air, gu'n itheadh e biadh maille ris. Agus chaidh e steach do thigh an Phairisich, agus shuidh [a] e sìos chum bìdh.

37 Agus feuch, an uair a *fhuair* bean anns a bhaile, a bha 'na peacach, fios gu 'n robh e 'na shuidhe aig biadh ann an *tigh* an Phairisich, thug i leatha bocsa alabastair *làn do* ola chùbhraidh.

38 Agus sheas i aig a chosaibh air a chùlaobh a' gul, agus thòisich i air an fhliuchadh leis a deuraibh, agus thiormaich i *iad* le gruaig a cinn, agus phòg i a chosan, agus dh'ùng i leis an ola iad.

39 Agus an uair a chunnaic am Phairiseach, a thug cuireadh dha, *so*, labhair e ann féin, ag ràdh, Nam b'fhàidh an duine so, bhiodh *fhios* aige cò i a' bhean so ta beantuinn ris, agus ciod is gnè dh'i; oir is peacach i.

40 Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e ris, A Shimoin, a ta ni agam ri ràdh riut. Agus thubhairt esan, A mhaighstir, abair e.

41 Bha aig fear-fiacha àraidh dithis do fhéichneinibh: bha aige air aon fhear cùig ceud peghinn, agus air an fhear eile leth-cheud.

42 Agus do bhrigh nach robh aca ni leis an dìoladh iad, mhaith e gu saor dhoibh araon. Innis *domhsa* uime sin, cò aca 's mò a ghràdhaicheas e?

43 Agus fhreagair Simon agus thubhairt e, 'S i mo bharail gur e an

[u] *nach gabh oilbheum riumsa.* [a] *luidh. Gr.*

neach is mò d'an do mhaith e. Agus thubhairt e ris, Is ceart a thug thu breth.

44 Agus air tionndadh ris a' mhnaoi, thubhairt e ri Simon, Am faic thu bhean so? thainig mi steach do d' thigh, cha d'thug thu dhomh uisge chum mo chos; ach dh'ionnlaid ise mo chosa le deur-aibh, agus thiormaich i *iad* le folt a cinn.

45 Cha d'thug thusa dhomh pòg: ach o thainig ise[b] stigh, cha do sguir i a phògadh mo chos.

46 Cha d'ùng thusa mo cheann le h-ola: ach dh'ùng ise mo chosa le h-ola chùbhraidh.

47 Uime sin a deirim riut, Gu'm bheil a peacaidh a ta lìonmhor, air am maitheadh; air an aobhar sin[c] ghràdhaich i gu mòr: ach ge b'e neach d'am maithear beagan, bithidh a ghràdh beag.

48 Agus thubhairt e rithe, Tha do pheacaidh air am maitheadh.

49 Agus thòisich iadsan a bha 'nan suidhe aig biadh maille ris, air a ràdh annta féin, Cò e so a ta eadhon a' maitheadh pheacanna?

50 Agus thubhairt e ris a' mhnaoi, Shlànuich do chreidimh thu; imich an sìth.

CAIB. VIII.

2 Tha mnài a' frithealadh do Chriosd le am maoin. 4 Tha Criosd, an déigh dha searmoin a dheanamh o àit gu h-àit, agus e air a leantuinn le abstolaibh. a' labhairt cosamhlachd an t-sìoladoir, 16 agus na coinnle; 21 a' cur an céill cò iad a mhàthair, agus a bhràith-rean, 22 a' cronuchadh na gaoithe, &c.

AGUS tharladh an déigh sin, gu'n d'imich esan trìd gach cathair agus baile, a' searmonachadh, agus a' cur an céill soisgeil rioghachd Dhé, agus an dà fhear dheug 'na fhochair,

2 Agus mnài àraidh a leighis-eadh o dhroch spioradaibh agus o euslaintibh, Muire d'an goirear Mag-dalen, as an deachaidh seachd deamh-ain,

3 Agus Ioanna bean Chusa stiùbh-aird Heroid, agus Susanna, agus mòran eile, a bha frithealadh dha le am maoin.

4 Agus an uair a chruinnich sluagh mòr, agus a thainig iad as gach baile d'a ionnsuidh, labhair e ann an co-samhlachd:

5 Chaidh fear-cuir amach a chur a shìl: agus ag cur da, thuit cuid ri taobh an rathaid, agus shaltradh sìos e, agus dh'ith eunlaith an athair suas e.

6 Agus thuit cuid eile air carraig, agus air fàs da, shearg e, do bhrigh nach robh sùgh aige.

7 Agus thuit cuid eile am measg droighinn, agus air fàs do 'n droigh-ionn maille ris, thachd se e.

8 Agus thuit cuid eile air talamh maith, agus dh'fhàs e suas, agus thug e toradh uaith a cheud uiread *'s a chuireadh.* Agus air dha na nithe sin a ràdh, ghlaodh e, Ge b'e aig am bheil cluasa chum éisdeachd, éisd-eadh e.

9 Agus dh'fhiosraich a dheisciob-uil deth, ag ràdh, Ciod e an cosamh-lachd so?

10 Agus thubhairt esan, Thugadh dhuibhse eòlas fhaotainn air rùn dìomhair rioghachd Dhé; ach do chàch an cosamhlachdaibh, ionnus ag faicinn doibh nach faiceadh iad, agus ag cluinntinn doibh nach tuigeadh iad.

11 Ach is e so an cosamhlachd: Is e 'n sìol focal Dé.

12 Iadsan ri taobh an rathaid, is iad sin a dh'éisdeas: 'na dhéigh sin a ta 'n diabhol a' teachd, agus a' togail air falbh an fhocail as an cridh-eachaibh, air eagal gu'n creideadh iad agus gu'm biodh iad air an saoradh.

13 An dream air a' charraig, *is iad sin iadsan,* an uair a dh'éisdeas iad, a ghabhas am focal d'an ionn-suidh le gairdeachas; ach cha 'n 'eil aca so freamh, *muinntir* a chreideas rè tamuill, agus an àm buairidh a ta tuiteam air falbh.

[b] mi. [c] oir.

14 Agus an ni a thuit am measg droighinn, is iad sin an dream a dh'éisdeas, agus air dhoibh dol a mach, a ta iad air an tachdadh le cùram, agus le saibhreas, agus le sàimhe na beatha *so*, agus cha 'n'eil iad a' toirt toraidh uatha chum foirfeachd.

15 Ach an ni *a thuit* san talamh mhaith, is iad sin iadsan, air dhoibh am focal éisdeachd, a ta 'ga choimhead ann an cridhe treibh-dhireach agus maith, agus a' toirt toraidh uatha le foighidin[d].

16 Cha 'n'eil neach air bith, air dha coinneal a lasadh, a dh'fholuicheas fa shoitheach i, no chuireas fa leabaidh *i*: ach cuiridh e ann an coinnleir i, chum's gu'm faic iadsan a thig a stigh an solus.

17 Oir cha 'n'eil ni sam bith folaichte, nach deanar follaiseach; no uaigneach, nach aithnichear, agus nach d'thig os àird.

18 *Air an aobhar sin* thugaibh *fa'near* cionnus a dh'éisdeas sibh: oir ge b'e neach aig am bheil, bheirear dha; agus ge b'e neach aig nach 'eil, bheirear uaith eadhon an ni sin a shaoilear a bhi aige.

19 An sin thainig d'a ionnsuidh a mhàthair agus a bhràithre, agus cha b'urrainn iad teachd am fagus da leis an dòmhlas.

20 Agus dh'innseadh dha le *dream àraidh*, a thubhairt, Tha do mhàthair agus do bhràithre 'nan seasamh a muigh, ag iarraidh t'fhaicinn.

21 Agus fhreagair esan agus thubhairt e riu, Is iad mo mhàthair agus mo bhràithrean iadsan a dh'éisdeas ri focal Dé, agus a ni e.

22 Agus tharladh air là àraidh, gu'n deachaidh e féin agus a dheisciobuil a stigh do luing: agus thubhairt e riu, Rachamaid thairis gu taobh thall an locha. Agus chuir iad a mach *o thìr*.

23 Ach ag seòladh dhoibh, thuit codal airsan: agus thainig ànradh[e] gaoith a nuas air an loch, agus lìonadh iad *le h-uisge*, agus bha iad ann an gàbhadh.

24 Agus thainig iad d'a ionnsuidh, agus dhùisg iad e, ag ràdh, A mhaighstir, a mhaighstir, tha sinn caillte, An sin dh'éirich esan, agus chronuich e ghaoth, agus onfa an uisge: agus sguir iad, agus thainig fèath[f] ann,

25 Agus thubhairt e riu, C'àit am bheil bhur creidimh? agus air dhoibh bhi fa eagal, ghabh iad iongantas, ag ràdh, r'a chéile, Ciod a' ghnè dhuine so? oir a ta e toirt àithne do na gaothaibh, agus do'n uisge féin, agus *a ta iad* ùmhal dha.

26 Agus thainig iad air tìr aig dùthaich nan Gadareneach, a ta thall fa chomhair Ghalile.

27 Agus an uair a chaidh e mach air tìr, choinnich duine àraidh as a' bhaile e, anns an robh deamhain rè aimsir fhada, agus aig nach biodh eudach uime, agus nach fanadh ann an tigh, ach anns na h-àitibh-adhlaic.

28 An uair a chunnaic e Iosa, ghlaodh e mach, agus thuit e sìos 'na làthair, agus thubhairt e le guth àrd, Ciod e mo ghnothuchsa riut, Iosa, a Mhic an Dé a's ro àirde? guidheam ort, na pian mi.

29 (Oir bha e air toirt àithne do'n spiorad neo-ghlan dol a mach as an duine. Oir bu tric a rug e gu naimhdeil air: agus cheangladh e le slabhruidhibh, agus choimhideadh an geimhlibh e; agus air briseadh *a* chuibhreacha dha, dh'iomaineadh e leis an deamhan do'n fhàsach.)

30 Agus dh'fheòraich Iosa dheth, ag ràdh, Ciod is ainm dhuit? agus thubhairt esan, Legion: do bhrigh gu'n deachaidh mòran dheamhan a steach ann.

31 Agus ghuidh iad air, gun àithne thoirt doibh dol sìos do'n doimhneachd[g].

32 Agus bha treud lìon-mhor mhuc an sin, ag ionaltradh air an t-sliabh: agus ghuidh iad air cead a thoirt doibh dol a steach annta. Agus thug e cead doibh.

33 An sin air dol do na deamhnaibh a mach as an duine, chaidh iad anns na mucaibh: agus ruith an treud

[d] *seasmhachd.* [e] *doinionn, stoirm.* [f] *ciuine.* [g] *dubh-aigean.*

mhuc gu dian sìos le bruthach[h] do'n
loch, agus thachdadh[i] iad.
34 Agus an uair a chunnaic an
dream a bha 'gam biadhadh an ni a
rinneadh, theich iad, agus dh'innis[l]
iad *e* anns a' bhaile agus anns an
dùthaich.
35 Agus chaidh iadsan a mach a
dh'fhaicinn an ni a rinneadh; agus
thainig iad gu h-Iosa, agus fhuair iad
an duine as an deachaidh na deamh-
ain, 'na shuidhe aig cosaibh Iosa, air
eudachadh, agus e 'na chéill: agus
ghabh iad eagal.
36 Agus dh'innis an dream a
chunnaic e dhoibh, cionnus a shlàn-
uicheadh an duine san robh na
deamhain.
37 An sin dh'iarr muinntir dùcha
nan Gadareneach uile airsan, imeachd
uatha; oir ghlacadh le h-eagal mòr
iad: agus chaidh e san luing, agus
phill e air ais a rìs.
38 A nis ghuidh an duine as an
deachaidh na deamhain air, e féin a
bhi maille ris: ach chuir Iosa uaith
e, ag ràdh,
39 Pill do d' thigh féin, agus cu[ir]
an céill meud nan nithe a rinn Dia
dhuit. Agus dh'imich e roimhe,
innseadh a follaiseach air feadh a'
bhaile uile, meud nan nithe a rinn
Iosa dha.
40 Agus tharladh, an uair a phill
Iosa air ais, gu'n do ghabh an sluagh
gu toileach ris: oir bha iad uile 'ga
fheitheamh.
41 Agus feuch, thainig duine da'm
b'ainm Iairus, a bha 'na uachdaran
air an t-sionagog: agus thuit e aig
cosaibh Iosa, agus ghuidh e air gu'n
d'thigeadh e d'a thigh:
42 Do bhrigh gu'n robh aon-ghin
nighinn aige, mu thimchioll dà
bhliadhna dheug, agus i faotainn a'
bhàis. (Ach air dha bhi 'g imeachd,
bha'n sluagh 'ga theannadh.
43 Agus *thainig* bean air an robh
dòrtadh fola dà bhliadhna dheug, agus
a chaith a beathachadh uile ri léigh-
ibh, agus nach b'urradh bhi air a
leigheas le neach air bith,
44 Thainig *ise* air a chùlaobh, agus
bhean i ri h-iomall eudaich: agus
sguir a dòrtadh fola air ball.
45 Agus thubhairt Iosa, Cò bhean
rium? Air àicheadh do na h-uile,
thubhairt Peadar, agus iadsan a bha
'na fhochair, ris, A mhaighstir, tha 'n
sluagh ga d' dhòmhlachadh, agus ga d'
theannadh, agus an abair thu, Cò
bhean rium?
46 Agus thubhairt Iosa, Bhean
neach éigin rium: oir mhothaich mi
cumhachd a' dol asam.
47 Agus an uair a chunnaic a'
bhean nach robh i'n ain-fhios[m],
thainig i air chrith, agus a' sleuchd-
adh dha, chuir i'n céill da c'ar son
a bhean i ris, an làthair an t-sluaigh
uile, agus mar a shlànuicheadh i gu
grad.
48 Agus thubhairt esan rithe, A
nighean, biodh misneach agad: shlàn-
uich do chreidimh thu; imich an sìth.)
49 Am feadh 's a bha e fathast a'
labhairt, thainig neach o *thigh* Uachd-
arain na sionagoige, ag ràdh ris, Tha
do nighean marbh; na cuir dragh air
a' mhaighstir.
50 Ach air cluinntinn *so* do Iosa,
fhreagair se e, ag ràdh, Na biodh eagal
ort: a mhàin creid, agus bithidh i air
a slànuchadh.
51 Agus an uair a chaidh e do 'n
tigh, cha do leig e le neach air bith
dol a stigh, ach Peadar, agus Eoin,
agus Seumas, agus athair agus màthair
na h-inghin.
52 Agus bha iad uile a' gul, agus
a' deanamh caoidh air a son: ach
thubhairt esan, Na guilibh: cha 'n'eil
i marbh, ach 'na codal.
53 Agus rinn iad gàire fanoid ris,
do bhrigh gu'n robh fhios aca gu'n
robh i marbh.
54 Agus air dha an cur a mach
uile, ghlac e air làimh i, agus ghlaodh
e, ag ràdh, A nighean, éirich.
55 Agus thainig a spiorad air ais,
agus dh'éirich i air ball: agus dh'àithn
e biadh a thoirt d'i.
56 Agus ghabh uamhas mòr a
pàrantan[n]: ach thug esan àithne
dhoibh gun an ni a rinneadh innseadh
do neach air bith.

[h] *leathad, àite corrach.* [i] *bhàthadh.* [l] *theich iad, (agus chaidh iad,) agus dh'innis.* [m] *am folach.* [n] *a ginteirean.*

CAIB. IX.

1 Tha Criosd a' cur a mach abstol a dh'oibreachadh mhìorbhuile, agus a shearmonachadh. 7 Tha togradh aig Herod Criosd fhaicinn. 17 Tha Criosd an déigh searmonachadh do'n t-sluagh, a' toirt lòin do chùig mìle ata gu mìorbhuileach, 22 ag ìnnseadh fhulangais roimh-laimh, 23 ag innseadh do na h-uile le'm b'àill a bhi 'nan deisciobuil da, gur éigin doibh eisiomplairs' a leantuinn. 28 Atharrachadh a chrutha, &c.

AGUS ghairm e an dà fhear dheug[o] an ceann a chéile, agus thug e cumhachd agus ùghdarras doibh air na h-uile dheamhnaibh, agus a chum euslaintean a leigheas.

2 Agus chuir e mach iad a shearmonachadh rioghachd Dhé, agus a shlànuchadh nan euslan.

3 Agus thubhairt e riu, Na tugaibh ni air bith leibh chum na slighe, bataiche no màla, no aran, no airgiod; ni mò bhios dà chòta aig gach fear agaibh.

4 Agus ge b'e air bith tigh d'an d'théid sibh a steach, fanaibh an sin, agus as sin rachaibh a mach[p].

5 Agus cò air bith iad nach gabh ribh, air dhuibh dol a mach as a' bhaile sin, crathaibh dhibh eadhon an duslach o bhur cosaibh mar fhianuis 'nan aghaidh.

6 Agus chaidh iadsan a mach, agus ghabh iad tre na bailtibh, a' searmonachadh an t-soisgeil, agus a' leigheas anns gach àit.

7 Agus chual Herod an Tetrarch na h-uile nithe a rinneadh leis: agus bha e an imcheist, do bhrigh gu'n dubhradh le cuid, gu'n robh Eoin air éirigh o na marbhaibh:

8 Agus le cuid, gu'n d'fhoillsicheadh Elias: agus le cuid eile, gu'n robh aon do na sean fhàidhibh air éirigh a rìs.

9 Agus thubhairt Herod, Thug mis' an ceann a dh'Eoin: ach cò e 'm fear so mu'n cluinneam a leithid so do nithibh? Agus dh'iarr e fhaicinn.

10 Agus air pilltinn do na h-abstolaibh, dh'innis iad dha gach ni a rinn iad. Agus thug e leis iad, agus chaidh e fa leth gu àite fàsail, a bhuineadh do'n bhaile d'an goirear Betsaida.

11 Agus an uair a fhuair an sluagh fios *air*, lean iad e: agus ghabh e *d'a ionnsuidh* iad, agus labhair e riu mu thimchioll rioghachd Dhé, agus léighis e iadsan aig an robh feum air leigheas.

12 Agus an uair a thòisich an là air teireachdainn thainig an dà fhear dheug, agus thubhairt iad ris, Cuir air falbh an sluagh, chum 's gu'n d'théid iad do na bailtibh agus do'n tìr m'an cuairt, agus gu'n gabh iad tàmh agus gu'm faigh iad biadh: oir tha sinn an so an àite fàsail.

13 Ach thubhairt esan riu, Thugaibhse dhoibh ni r'a itheadh. Agus thubhairt iadsan, Cha 'n'eil againn tuilleadh na cùig builinnean agus dà iasg; mur d'théid sinn agus biadh a cheannach do'n t-sluagh so uile.

14 Oir bha iad mu thimchioll cùig mìle fear. Agus thubhairt e r'a dheisciobluibh, Cuiribh nan suidhe iad, leth-cheud anns gach cuideachd.

15 Agus rinn iad mar sin, agus chuir iad 'nan suidhe iad uile.

16 Agus ghabh e na cùig builinnean agus an dà iasg, agus air amharc suas gu nèamh, bheannaich e iad, agus bhris e, agus thug e d'a dheisciobluibh iad gu'n cur an làthair an t-sluaigh.

17 Agus dh'ith iad, agus shàsuicheadh iad uile: agus thogadh dà chliabh dheug do bhiadh briste, a bha dh'fhuigh each aca.

18 Agus tharladh, air dha bhi ri ùrnuigh fa leth, gu'n robh a dheisciobuil maille ris: agus dh'fheòraich e dhiubh, ag ràdh, Cò their an sluagh is mise?

19 Fhreagair iadsan agus thubhairt iad, Eoin Baiste: ach *their* cuid, Elias: agus cuid eile, gu bheil aon do na sean fhàidhibh air éirigh a rìs.

20 Thubhairt e riu, Ach cò their sibhse is mi? Agus fhreagair Peadar, agus thubhairt e, Criosd Dhé.

21 Agus air dha sparradh teann a

[o] *a dhà dheisciobul deug.* [p] *fanaibh an sin gus am fàg sibh an t-àit.*

thoirt doibh, dh'àithn e gun iad a dh'innseadh so do neach sam bith,

22 Ag ràdh, Gur éigin do Mhac an duine mòran fhulang, agus a bhi air a dhiultadh leis na seanairibh, agus an h-àrd shagartaibh, agus na scrìobhuichibh, agus a bhi air a chur gu bàs, agus air a thogail suas air an treas là.

23 Agus thubhairt e riu uile, Ma's àill le neach air bith teachd a'm' dhéighse, àicheadhadh se e féin, agus togadh e chrann-ceusaidh gach là, agus leanadh e mise.

24 Oir ge b'e neach le'm b'àill anam a thearnadh, caillidh se e: ach ge b'e neach a chailleas anam air mo sgàthsa, saoraidh esan e.

25 Oir ciod e an tairbhe do dhuine, ge do chosnadh e 'n saoghal gu h-iomlan, agus e féin a chall, no bhi air a sgrios?

26 Oir ge b'e neach a ghabhas nàire dhiomsa agus do m' bhriathraibh, gabhaidh Mac an duine nàire dheth-san, an uair a thig e 'na ghlòir féin, agus *an glòir* Athar, agus na[illegible] ingeal naomha.

27 Ach a deirimse ribh gu firin[illegible]n, gu bheil cuid 'nan seasamh an so, nach blais bàs, gus am faic iad rioghachd Dhé.

28 Agus tharladh mu thimchioll ochd làithean an déigh nam briathar so[r], gu'n d'thug e leis Peadar, agus Eoin, agus Seumas, agus gu'n deachaidh e suas gu beinn a dheanamh ùrnuigh.

29 Agus an uair a bha e ri ùrnuigh, bha dreach a ghnùise air atharrachadh, agus rinneadh eudach geal agus dealrach.

30 Agus feuch, bha dithis fear a' còmhradh ris, eadhon Maois agus Elias,

31 A nochdadh ann an glòir, agus a bha labhairt m'a bhàs[s], a bha esan gu choimhlionadh ann an Ierusalem.

32 Ach bha Pheadar, agus iadsan a bha maille ris, trom 'nan codal: agus an uair a dhùisg iad, chunnaic iad a ghlòir, agus an dithis fear a bha 'nan seasamh maille ris.

33 Agus an uair a bha iadsan a' dealachadh ris, thubhairt Peadar ri h-Iosa, A mhaighstir, is maith dhuinne bhi 'n so, agus deanamaid tri bothain, aon duitse, agus aon do Mhaois, agus aon do Elias; gun fhios aige ciod a bha e 'g ràdh.

34 Am feadh a bha e ag ràdh so, thainig neul, agus chuir e sgàile orra: agus ghabh iad eagal an uair a bha iad a' dol a stigh san neul.

35 Agus thainig guth as an neul, ag ràdh, Is e so mo Mhac gràdhachsa, éisdibh ris.

36 Agus an uair a rinneadh an guth so, fhuaradh Iosa 'na aonar: agus dh'fhan iadsan 'nan tosd, agus cha d'innis iad do neach air bith anns na làithibh sin aon ni do na chunnaic iad.

37 Agus tharladh, an là 'na dhéigh sin, an uair a thainig iad a nuas o'n bheinn, gu'n do thachair sluagh mòr air.

38 Agus feuch, ghlaodh duine àraidh do'n t-sluagh, ag ràdh, A mhaighstir, guidheam ort, amhairc air mo mhac, oir is e m'aon duine cloinne [illegible][t].

39 Agus feuch, a ta spiorad a' [illegible]air, agus a ta e gu h-obann ag éig[illegible] agus a ta e 'ga tharruing as a chéile air chor 's gu bheil e cur cobhair a mach, agus an déigh a chomh-bhrutiadh is gann a dh'fhàgas se e.

40 Agus ghuidh mi air do dheisciobluibh gu'n cuireadh iad a mach e, agus cha b'urrainn iad.

41 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e, O ghinealaich mhi-chreidich agus fhiair[u], cia fhad a bhios mi maille ribh, agus a dh'fhuilgeas mi sibh? Thoir an so do mhac.

42 Agus am feadh a bha e fathast a' teachd, thilg an deamhan sìos e, agus reub se *e*: agus chronuich Iosa an spiorad neo-ghlan, agus shlànuich e 'n leanabh, agus thug e d'a athair e.

43 Agus ghabh iad uamhas uile ri mòr chumhachd Dhé. Ach air dhoibh uile bhi gabhail iongantais ris na h-uile nithibh a rinn Iosa, thubhairt e r'a dheisciobluibh,

44 Taisgibh na briathrasa ann bhur

[r] *nan nithe so.* [s] *m'a shiubhal.* [t] *is e m'aon ghin e.* [u] *chòirbte.*

cluasaibh: oir tha Mac an duine gu bhi air a thoirt thairis do làmhaibh dhaoine.

45 Ach cha do thuig iadsan an còmhradh so, agus bha e folaichte uatha, air chor as nach b'aithne dhoibh e[a]: agus b'eagalach leo ceisd a chur air mu thimchioll a' chòmhraidh so.

46 An sin dh'éirich deasboireachd eatorra, cò aca bu mhò a bhitheadh.

47 Agus air do Iosa smuaintean an cridhe fhaicinn, ghabh e leanabh, agus chuir e làimh ris féin e,

48 Agus thubhairt e riu, Ge b'e ghabhas ris an leanabh so ann am ainmse, tha e a' gabhail riumsa: agus ge b'e neach a ghabhas riumsa, tha e gabhail ris an ti a chuir uaith mi: oir an neach a's lugha 'nar measgsa uile, bithidh esan mòr.

49 Agus fhreagair Eoin, agus thubhairt e, A mhaighstir, chunnaic sinne duine àraidh a' tilgeadh mach dheamhan a' t'ainmse; agus bhac sinn e, chionn nach 'eil e gu'r leantuinn-ne.

50 Agus thubhairt Iosa ris, Na bacaibh e: oir ge b'e nach 'eil 'nar n-aghaidh, tha e leinn.

51 A nis an uair a choimhlionadh làithean a ghabhail suas, shuidhich e a ghnùis chum dol gu Hierusalem,

52 Agus chuir e teachdairean roimh a ghnùis: agus dh'imich iad, agus chaidh iad a steach do bhaile leis na Samaritanaich, a dh'ulluchadh air a shonsan.

53 Agus cha do ghabh iadsan ris, a chionn gu'n robh aghaidh mar gu'm biodh e dol gu Hierusalem.

54 Agus an uair a chunnaic a dheisciobuil Seumas agus Eoin so, thubhairt iad, A Thighearn, an àill leat gu 'n abramaid[b] teine a theachd a nuas o nèamh, agus an losgadh, eadhon mar a rinn Elias?

55 Ach thionndaidh esan agus chronuich e iad, agus thubhairt e, Cha 'n'eil fhios agaibh ciod a' ghnè spioraid d'am bheil sibh:

56 Oir cha d'thainig Mac an duine a sgrios anama dhaoine, ach g'an saoradh. Agus chaidh iad gu baile eile.

57 Agus tharladh, an uair a bha iad ag imeachd air an t-slighe, gu'n dubhairt duine àraidh ris, A Thighearn, leanaidh mise thu ge b'e àit an d'théid thu.

58 Agus thubhairt Iosa ris, Tha tuill[c] aig na sionnaich, agus nid aig eunlaith an athair, ach cha 'n'eil àit aig Mac an duine anns an cuir e cheann fuidhe.

59 Agus thubhairt e ri duine eile, Lean mise: ach thubhairt esan, A Thighearn, leig dhomh dol air tùs agus m'athair adhlac.

60 Ach thubhairt Iosa ris, Leig leis na mairbh am mairbh féin adhlac; ach imich thusa agus searmonaich rioghachd Dhé.

61 Agus thubhairt neach eile mar an ceudna, A Thighearn, leanaidh mise thu; ach leig dhomh air tùs mo cheadan ghabhail diubhsan a ta aig mo thigh.

62 Ach thubhairt Iosa ris, Cha 'n'eil neach air bith, a chuireas a làmh ris a' chrann-araidh, agus a shealltas 'na dhéigh, iomchuidh air son rioghachd Dhé.

CAIB. X.

1 *Tha Criosd a' cur a mach a dh'aon uair 70 deisciobul a shearmonachadh;* 17 *ag iarraidh orra bhi irioseal, agus ag innseadh dhoibh ciod e an ni anns am buineadh dhoibh gairdeachas a dheanamh,* 21 *a' toirt buidheachais d'a Athair air son a ghràis,* 23 *a' cur an céill staid shona a dheisciobul, &c.*

AN déigh nan nithe sin, dh'orduich an Tighearna mar an ceudna deichnear agus tri fichead eile, agus chuir e lìon dithis is dithis roimh a ghnùis iad, do gach baile, agus àit, anns an robh e féin gu teachd.

2 Air an aobhar sin thubhairt e riu, Tha 'm foghara gu fìrinneach mòr, ach a ta an luchd oibre tearc: guidhibh uime sin air Tighearn an fhogharaidh, luchd oibre chur a mach chum fhogharaidh féin.

3 Imichibh: feuch, a ta mise 'gar

[a] *chum nach mothaicheadh iad e.* [b] *orduicheamaid.* [c] *garaidh, brocluidh.*

cur a mach mar uain am measg
mhadradh alluidh.
4 Na iomchairibh sporan, no màla,
no brògan ; agus na beannuichibh do
neach air bith san t-slighe.
5 Agus ge b'e tigh d'an d'théid
sibh a steach, abraibh air tùs, Sìth
do'n tigh so.
6 Agus ma bhios mac na sìth an
sin, gabhaidh bhur sìth còmhnuidh
air: ach mur bi, pillidh *bhur sìth*
chugaibh[d] féin a rìs.
7 Agus fanaibh anns an tigh sin,
ag itheadh agus ag òl nan nithe a
bheirear dhuibh: oir is fiu an t-oib-
riche a thuarasdal. Na rachaibh o
thigh gu tigh.
8 Agus ge b'e baile d'an d'théid
sibh a steach, agus san gabh iad ribh,
ithibh na nithe sin a chuireas iad 'nar
làthair.
9 Agus leighisibh a' mhuinntir a ta
euslan ann, agus abraibh riu, Tha
rioghachd Dhé air teachd am fagus
duibh.
10 Ach ge b'e baile d'an d'théid
sibh a steach, agus nach gabh iad
[illegible]bh, air dhuibh dol a mach air a
[illegible]idibh, abraibh,
11 Eadhon duslach bhur baile a
[illegible] ruinn, tha sinne a' glanadh dhinn
'nar n-aghaidhse : gidheadh, biodh
fhios so agaibh gu'n do dhruid riogh-
achd Dhé ribh.
12 Ach a deirimse ribh, gur so-
iomchair' a bhitheas e do Shodom san
là ud, na do'n bhaile sin.
13 Is anaoibhinn duit, a Chorasin,
is anaoibhinn duit, a Bhetsaida ; oir
nam bitheadh na h-oibre cumhachd-
ach a rinneadh annaibhse air an dean-
amh ann an Tirus agus ann an Sidon,
is fad o'n a dheanadh iad aithreachas,
'nan suidhe ann an saic-eudach agus
ann an luaithre.
14 Ach bithidh e ni's so-iom-
chaire[e] do Thirus agus do Shidon
anns a' bhreitheanas, na dhuibhse.
15 Agus thusa, a Chapernaum, a ta
air t'àrdachadh gu nèamh, tilgear sìos
gu h-ifrinn thu.
16 Esan a dh'éisdeas ribhse, éisd-
idh e riumsa : agus esan a dhiultas
sibhse, tha e ga m' dhiultadhsa : agus
an neach a dhiultas mise, tha e a'
diultadh an ti a chuir uaith mi.
17 Agus phill an deichnear agus
an tri fichead le gairdeachas, ag ràdh,
a Thighearn, a ta na deamhain féin
fa smachd againne trìd t'ainmsa.
18 Agus thubhairt e riu, Chunnaic
mi Satan, mar dhealanach, a' tuiteam
o nèamh.
19 Feuch, a ta mi tabhairt dhuibh
cumhachd saltairt air nathraichibh
agus air scorpionaibh agus air uile
neart an nàmhaid ; agus cha ghoirt-
ich ni air bith air aon dòigh sibh.
20 Gidheadh na deanaibh gaird-
eachas air son gu bheil na spioraid
fa'r smachd ; ach deanaibh gairdeach-
as air son gu bheil bhur n-ainmeanna
sgrìobhta anns na nèamhaibh.
21 Anns an uair sin féin rinn Iosa
gairdeachas 'na spiorad, agus thubh-
airt e, Tha mi toirt buidheachais duit,
O Athair, a Thighearna nèimhe agus
talmhainn, air son gu'n d'fholaich
thu na nithese o *dhaoinibh* glice agus
tuigseach, agus gu'n d'fhoillsich thu
iad do naoidheanaibh : seadh, Athair,
[illegible] is ann mar sin bu toil leatsa.
22 Tha na h-uile nithe air an
[illegible]bha[illegible] domhsa le m' Athair : agus
cha [illegible]e do-neach air bith cò e
am Mac, ach do'n Athair ; no cò e
an t-Athair, ach do'n Mhac, agus an
neach d'an àill leis a' Mhac fhoill-
seachadh.
23 Agus air tionndadh r'a dheis-
ciobluibh, thubhairt e riu os ìosal, Is
beannuichte na sùilean a chi na nithe
ta sibhse a' faicinn.
24 Oir a deirim ribh, Gu'm b'iom-
adh fàidh agus righ, le'm bu mhiann
na nithe fhaicinn a ta sibhse a' faic-
inn, agus nach fac *iad ;* agus na nithe
a' chluinntinn, ta sibhse a' cluinntinn,
agus nach cual *iad.*
25 Agus feuch, sheas fear-lagha
àraidh suas, 'ga dhearbhadh[f], agus
ag ràdh, A mhaighstir, ciod a ni mi
chum gu sealbhaich mi a' bheatha
mhaireannach ?
26 Agus thubhairt e ris, Ciod a
tha sgrìobhta san làgh ? cionnus a
leughas tu ?
27 Agus ag freagairt dasan, thubh-

[d] *thugaibh.* [e] *so-fhulainge.* [f] *'ga bhuaireadh.*

airt e, Gràdhaichidh tu an Tighearna
do Dhia le d' uile chridhe, agus le d'
uile anam, agus le d'uile neart, agus
le d'uil' inntinn, agus do choimhears-
nach mar thu féin.
28 Agus thubhairt esan ris, Is
ceart a fhreagair thu: deansa so,
agus bithidh tu beo.
29 Ach air dhasan toil a bhi aige
e féin fhìreanachadh, thubhairt e ri
h-Iosa, Agus cò e mo choimhearsnach?
30 Agus fhreagair Iosa, agus
thubhairt e, Chaidh duine àraidh sìos
o Hierusalem gu Iericho, agus thuit
e am measg luchd-reubainn[g], agus
air dhoibh a rùsgadh, agus a lotadh,
dh'imich iad rompa, air fhàgail-san
doibh leth-mharbh.
31 Agus tharladh gu'n d'imich
sagart àraidh sìos air an t-slighe sin:
agus an uair a chunnaic se e, ghabh
e seachad air an taobh eile.
32 Agus mar an ceudna air do
Lebhitheach bhi dlùth do'n ionad sin,
thainig e agus dh'amhairc e air, agus
ghabh e seachad air an taobh eile.
33 Ach air do Shamaritanach àr-
aidh bhi gabhail an rathaid, thainig e
far an robh esan: agus an uair
chunnaic se e, ghabh e truas m[illegible]-
deth;
34 Agus thainig e d'a ionnsuidh,
agus cheangail o suas a chreuchdan,
a' dortadh ola agus fìona annta, agus
chuir e air ainmhidh féin e, agus
thug e gu tigh òsda e, agus ghabh e
cùram dheth.
35 Agus air an là màireach, 'nuair
a dh'fhalbh e, thug e mach dà pheigh-
inn *Romhanach*, agus thug e do fhear
an tigh òsda *iad*, agus thubhairt e ris,
Gabh cùram dheth; agus ge b'e ni
tuilleadh a chaitheas tu, an tràth
philleas mise air m'ais, dìolaidh mi
dhuit e.
36 Cò a nis do'n truir so, a shaoil-
eas tu, bu choimhearsnach dhasan a
thuit am measg an luchd reubainn?
37 Agus thubhairt esan, An ti a
rinn tròcair air. An sin thubhairt
Iosa ris, Imich thusa, agus dean mar
an ceudna.
38 Agus ag imeachd dhoibh, chaidh
e steach do bhaile àraidh; agus ghabh
bean àraidh, d'am b'ainm Marta, d'a
tigh féin e.
39 Agus bha piuthar aice d'an
goirte Muire, a suidh aig cosaibh Iosa,
agus a bha 'g éisdeachd fhocail.
40 Ach bha Marta air a *ro* chùradh
le mòran frithealaidh, agus air seas-
amh dhi 'na làthair, thubhairt i, A
Thighearn, nach 'eil suim agad gu'n
d'fhàg mo phiuthar mise a'm' aonar
ri frithealadh? uime sin abair rithe
cuideachadh leam.
41 Agus fhreagair Iosa, agus thubh-
airt e rithe, a Mharta, a Mharta, tha
thusa lan cùraim, agus dragha mu
thimchioll mòrain do nithibh:
42 Ach a ta aon ni feumail. Agus
rinn Muire roghainn do'n chuid
mhaith sin, nach d'thoirear uaipe.

CAIB. XI.

1 *Tha Criosd a' teagasg d'a dheis-
ciobluibh ùrnuigh dheanamh gu bith-
chianta le dùrachd,* 11 *'gan dean-
amh cinnteach gu'n d'thoir Dia mar
sin nithe maithe dhuinn:* 14 *Tha
e tilgeadh a mach deamhain a bha
balbh, agus a' cronachadh nan
Pharisach air son an toibheim,*

AGUS tharladh air dha bhi
an ionad àraidh ri h-ùrnuigh,
'nuair a sguir e, gu'n dubhairt neach
àraidh d'a dheisciobluibh ris, A
Thighearna, teagaisg dhuinne ùr-
nuigh dheanamh, mar a theagaisg
Eoin d'a dheisciobluibh féin.
2 Agus thubhairt e riu, 'Nuair a
ni sibh ùrnuigh, abraibh, Ar n-Ath-
air a ta air nèamh, Gu naomhaichear
t'ainm. Thigeadh do rioghachd.
Deanar do thoil, mar air nèamh, gu
ma h-amhluidh sin air thalamh.
3 Tabhair dhuinn o là gu là ar
n-aran lathail.
4 Agus maith dhuinn ar peacaidh:
oir a ta sinne féin a' maitheadh do
gach aon air am bheil fiachan againn.
Agus na leig ann am buaireadh sinn,
ach saor sinn o'n olc.
5 Agus thubhairt e riu, Cò agaibh-
se aig am bi caraid, agus a théid d'a
ionnsuidh air mheadhon-oidhche, a-
gus a their ris, A charaid, thoir dhomh
tri builinnean air iasachd;

[g] ghaduichean.

6 Oir thainig caraid dhomh a' m' ionnsuidh as a shlighe, agus cha 'n'eil ni agam a chuireas mi 'na làthair.

7 Agus gu'm freagair esan o'n taobh a stigh agus gu'n abair e, Na cuir dragh orm: tha 'n dorus a nis air a dhùnadh, agus tha mo chlann maille rium san leabaidh; cha'n fhaigh mi éirigh agus *an* toirt duit.

8 A deirim ribh, Ge nach éirich e agus nach toir e dha, air son gur e charaid e; gidheadh air son a liosdachd[h], éiridh e agus bheir e dha mheud 's a ta dh'uireasbhuidh air.

9 Agus a deirimse ribh, Iarraibh, agus bheirear dhuibh: siribh, agus gheibh sibh: buailibh *an dorus*, agus fosgailear dhuibh.

10 Oir gach neach a dh'iarras, glacaidh e: agus an ti a shireas, gheibh e: agus do'n ti a bhuaileas, fosgailear.

11 Ma dh'iarras mac aran air aon neach agaibhse ta 'na athair, an toir e dha clach? no ma *dh'iarras e* iasg, an toir e nathair dha an àit éisg?

12 No ma dh'iarras e ubh, an toir e scorpion da?

13 Air an aobhar sin ma 's aithne dhuibhse a ta olc, tiodhlacan maithe a thoirt d'ar cloinn, nach mòr is mò na sin a bheir bhur n-Athair nèamhaidh an Spiorad naomh dhoibhsan a dh'iarras air e?

14 Agus bha e tilgeadh a mach deamhain, agus bha e balbh. Agus air dol do'n deamhan a mach, labhair am balbhan; agus ghabh an sluagh iongantas.

15 Ach thubhairt cuid diubh, Is ann trìd Bheelsebub prionnsadh[i] nan deamhan a ta e tilgeadh mach dheamhan.

16 Agus dh'iarr dream eile dhiubh, 'ga dhearbhadh, comhar air o nèamh.

17 Ach air dhasan an smuaintean a thuigsinn, thubhairt e riu, Gach rioghachd a ta roinnte 'na h-aghaidh féin, fàsaichear i; agus gach tigh *a ta roinnte* 'na aghaidh féin, tuitidh e.

18 Agus ma ta Satan mar an ceudna air a roinn 'na aghaidh féin, cionnus a sheasas a rioghachd? oir tha sibhse ag ràdh, gu bheil mise trìd Bheelsebub a' tilgeadh mach dheamhan.

19 Agus ma 's ann tre Bheelsebub ataimse tilgeadh mach dheamhan, cò e trìd am bheil bhur clann-sa 'gan tilgeadh mach? uime sin bithidh iadsan 'nam breitheanaibh oirbh.

20 Ach ma 's ann le mèur Dhé ataimse a' tilgeadh mach dheamhan, tha rioghachd Dhé, gun teagamh, air teachd oirbhse.

21 'Nuair a ghleidheas duine làidir fa armaibh a thalla[l] féin, tha na bhuineas da ann an sìth.

22 Ach an uair a thig duine a's treise na e, agus a bheir e buaidh air, bheir e uaith armachd uile anns an robh a dhòigh, agus roinnidh e a chreach.

23 An neach nach 'eil leamsa, tha e a'm' aghaidh, agus an neach nach 'eil a' cruinneachadh leamsa, sgapaidh e.

24 'Nuair a théid an spiorad neoghlan a mach a duine, imichidh e tre ionadaibh tioma, 'g iarraidh fois: agus an uair nach faigh e sin, their e, Pillidh mi dh'ionnsuidh mo thighe as an d'thainig mi.

25 Agus air dha teachd, gheibh se e air a sguabadh agus air a dheanamh maiseach.

26 An sin imichidh e, agus bheir e leis seachd spioraid eile a's measa na e féin, agus air dhoibh dol a steach, gabhaidh iad còmhnuidh an sin: agus bithidh deireadh an duine sin ni 's measa na a thoiseach.

27 Agus an uair a bha e labhairt nan nithe so, thog bean àraidh do'n t-sluagh a guth, agus thubhairt i ris, Is beannuicht' a' bhrù a ghiùlain thu, agus na cìochan a dheoghail thu.

28 Ach thubhairt esan, Is mò gur beannuicht' iadsan a dh'éisdeas ri focal Dé, agus a choimhideas e.

29 Agus an uair a chruinnich an sluagh gu tiugh *d'a ionnsuidh*, thòisich e air a ràdh, Is droch ghinealach so: tha iad ag iarraidh comharaidh, agus cha toirear comhara dhoibh, ach comhara Ionais an fhàidh.

30 Oir mar a bha Ionas 'na chomhara do mhuinntir Ninebheh, is ann mar sin mar an ceudna bhios Mac an duine do'n ghinealach so.

h *dhian iarrtachd.* i *ceannard, ceann-feadhna.* l *a chùirt.*

31 Eiridh ban-righinn na h-àirde
deas suas anns a' *bhreitheanas* maille
ri daoinibh a' *ghinealaich* so, agus
dìtidh si iad: *oir thainig* ise o iomall-
aibh na talmhainn, a dh'éisdeachd ri
gliocas Sholaimh; agus feuch, *a ta*
ni's mò na Solamh an so.
32 Eiridh muinntir Ninebheh suas
anns a' bhreitheanas maille ris a'
ghinealach so, agus dìtidh iad e: oir
rinn iadsan aithreachas le searmoin
Ionais; agus feuch, *a ta* ni's mò na
Ionas an so.
33 Cha 'n'eil neach sam bith, air
dha coinneal a lasadh, a chuireas am
folach i, no fuidh shoitheach; ach
ann an còinnleir, chum 's gu 'm faic
an dream a thig a stigh an solus.
34 'S i an t-sùil solus a' chuirp:
uime sin an uair a bhios do shùil
glan, bithidh do chorp uile làn soluis:
ach an uair a bhios *do shùil* gu h-olc,
bithidh do chorp mar an ceudna
dorcha.
35 Uime sin thoir an aire, nach
bi 'n solus a ta annad 'na dhorchadas.
36 Air an aobhar sin ma bhitheas
do chorp uile soillseach, gun cuid
sam bith dheth dorcha, bithidh e soill-
seach gu h-iomlan, mar an uair a
shoillsicheas coinneal thu le dealradh.
37 Agus ag labhairt dhasan, *dh'iarr*
Phairiseach àraidh air a dhinneir a
ghabhail maille ris: agus chaidh e
stigh, agus shuidh e chum bìdh.
38 Agus an uair a chunnaic am
Phairiseach *sin*, b'ioghnadh leis nach
d'ionnlaid se e féin roimh a dhinneir.
39 Agus thubhairt an Tighearna
ris, A nis, Phairiseacha, glanaidh sibh-
se an taobh a muigh do'n chupan a-
gus do'n mhèis: ach a ta 'n taobh a
stigh dhibh làn do reubainn agus a
dh'aingidheachd.
40 Amadana, an ti a rinn an ni a ta
'n taobh a muigh, nach do rinn e an ni
a ta 'n taobh a stigh mar an ceudna?
41 Ach thugaibh uaibh déirc do na
nithibh a ta agaibh: agus feuch, a ta
na h-uile nithe glan duibh.
42 Ach is anaoibhinn duibh, Phair-
iseacha: oir a ta sibh a' toirt deach-
aimh a mionnt, agus a rù, agus as gach
uile ghnè luibheanna, agus a' gabhail
thairis air breitheanas agus air gràdh
Dhé: bu chòir dhuibh iad so a
dheanamh, agus gun iad sud *fhàgail*
gun deanamh.
43 Is *anaoibhinn duibh*, Phair-
iseacha: oir is *ionmhuinn libh* na
ceud àiteacha-suidhe anns na sion-
agogaibh, agus fàilte *fhaotainn* air
na margaibh.
44 Is anaoibhinn duibh, a scrìobh-
uichean agus Phairiseacha, a chealg-
airean: oir a ta sibh mar uaighean
nach faicear, agus do nach toir na
daoine a ta 'g imeachd thairis orra,
an aire.
45 Agus fhreagair duine àraidh
do'n luchd lagha, agus thubhairt e ris,
A mhaighstir, le so a labhairt, tha
thu toirt maslaidh dhuinne mar an
ceudna.
46 Agus thubhairt esan, Is anaoibh-
inn duibhse mar an ceudna, a luchd-
lagha: oir a ta sibh a' cur uallacha
fo'n do-ghiùlan air daoinibh, agus
cha bhean sibh féin ris na h-uallaich-
ibh le h-aon d'ar meuraibh.
47 Is anaoibhinn duibh: oir a ta
sibh a' togail àitean-adhlaic nam
fàidh, agus is iad bhur n-aithriche a
mharbh iad.
48 Gu deimhin a ta sibh a' *toirt*
fianuis gu bheil sibh ag aontachadh
le gnìomharaibh bhur n-aithriche:
oir mharbh iadsan gu deimhin iad,
agus a ta sibhse a' togail an àitean-
adhlaic.
49 Air an aobhar sin thubhairt
gliocas Dé, Cuiridh mise fàidhean,
agus abstoil d'an ionnsuidh, agus
cuid diubh marbhaidh iad, agus *cuid*
eile geur-leanaidh iad:
50 Chum gu'n agrar air a' ghin-
ealach so fuil nam fàidh uile a dhòirt-
eadh o thoiseach an domhain;
51 O fhuil Abeil gu fuil Shachar-
iais, a mhilleadh eadar an altair agus
an teampull: gu deimhin a deirim
ribh gu'n agrar i air a' ghinealach so.
52 Is anaoibhinn duibh, a luchd-
lagha: oir thug sibh air falbh iuchair
an eòlais: cha deachaidh sibh féin a
steach, agus an dream a bha dol a
steach, bhac sibh iad.
53 Agus an uair a bha e labhairt
nan nithe so riu, thòisich na scrìobh-
uichean agus na Phairisich air a chur
chuige gu dian, agus a tharruing gu
labhairt air mòran do nithibh;

54 A deanamh feall-aire air, (agus) ag iarraidh ni eigin a ghlacadh as a bheul, chum gu'm biodh cùis dhìtidh aca 'na aghaidh.

C A I B. XII.

1 Tha Criosd a' searmonachadh d'a dheisciobluibh iad a sheachnadh ceilg, agus geilt ann an cur a theagaisg an céill, 13 a' toirt rabhaidh do 'n t-sluagh a bhi air am faicill an aghaidh sainnt, le cosamhlachd an duine shaibhir a chuir roimhe, air d'a thalamh bàrr mòr a thoirt a mach, saibhlean bu mhò a thogail, 22 Cha 'n fheud sinn bhi ro-chùramach mu nithibh talmhaidh; 31 ach is còir dhuinn rioghachd Dhé iarraidh, 33 déirc a thoirt uainn, &c.

ANNS an àm sin, an uair a bha sluagh gun àireamh air cruinneachadh, ionnus gu 'n robh iad a' saltairt air a chéile, thòisich e air a ràdh r'a dheisciobluibh féin, Roimh gach ni bithibh air bhur faicill o thaois ghoirt nam Phairiseach, eadhon cealgaireachd.

2 Oir cha 'n'eil ni air bith folaichte, nach foillsichear; no uaigneach, air nach faighear fios.

3 Air an aobhar sin ge b'e ni a labhair sibh 'san dorchadas, cluinnear e san t-solus; agus an ni a labhair sibh 'sa chluais an seòmraichibh uaigneach, gairmear e air mullach nan tighean.

4 Agus a deirim ribhse, mo chàirde, Na biodh eagal oirbh roimh 'n mhuinntir sin a mharbhas an corp, agus 'na dhéigh sin aig nach 'eil ni tuilleadh dh'fheudas iad a dheanamh.

5 Ach nochdaidh mi dhuibh cò e roimh an còir dhuibh eagal a bhi oirbh: Biodh eagal an Tì ud oirbh, aig am bheil cumhachd, an déigh neach a mharbhadh, a thilgeadh do ifrinn; seadh, a deirim ribh, Biodh eagal an Tì so oirbh.

6 Nach 'eil cùig gealbhoinn air an reiceadh air dhà fheoirling, agus cha 'n'eil aon diubh air dhearmad am fianuis Dé?

7 Ach a ta eadhon fuilteine bhur cinn uile air an àireamh. Uime sin na biodh eagal oirbh: is fearr sibhse na mòran ghealbhonn.

8 Agus a deirimse ribh, Ge b'e neach a dh'aidicheas mise am fianuis dhaoine, aidichidh Mac an duine esan mar an ceudna an làthair aingle Dhé.

9 Ach ge b'e neach a dh'àicheadhas mise am fianuis dhaoine, àicheadhar esan am fianuis aingle Dhé.

10 Agus ge b'e neach a labhras focal an aghaidh Mhic an duine, maithear dha e: ach do'n tì a labhras toibheum an aghaidh an Spioraid naoimh, cha toirear maitheanas.

11 Agus an uair a bheir iad sibh chum nan sionagog, agus nan uachdaran, agus nan daoine cumhachdach, na biodh e 'na ro-chùram oirbh cionnus no ciod a fhreagras sibh, no ciod a their sibh:

12 Oir teagaisgidh an Spiorad naomha dhuibh anns an uair sin féin na nithe 's còir dhuibh a ràdh.

13 Agus thubhairt neach àraidh do'n t-sluagh ris, A mhaighstir, abair re m' bhràthair an oighreachd a roinn rium.

14 Agus thubhairt e ris, A dhuine, cò a chuir mise a'm' bhreitheamh, no a'm' fhear-roinn os bhur cionn?

15 Agus thubhairt e riu, Thugaibh an aire, agus gleidhibh sibh féin o shannt: oir cha 'n ann am mòr phailteas nan nithe ta e sealbhachadh tha beatha an duine.

16 Agus labhair e cosamhlachd riu, ag ràdh, Thug fearann duine shaibhir àraidh bàrr pailte uaith.

17 Agus smuainich e ann féin, ag ràdh, Ciod a ni mi, chionn nach 'eil agam àit anns an cruinnich mi mo thoraidh?

18 Agus thubhairt e, Ni mi so: leagaidh mi mo shaibhlean, agus togaidh mi *saibhlean* a's mò; agus cruinnichidh mi annta sin mo thoraidh uile, agus mo mhaoin.

19 Agus their mi ri m' anam, Anam, a ta agad mòran do nithibh maithe air an tasgaidh fa chomhair mòrain bhliadhna; gabh fois, ith, òl, *is* bi subhach.

20 Ach thubhairt Dia ris, Amadain, air an oidhche so féin iarrar t'anam uait: an sin cò dha a bhuineas na nithe sin a dh'ulluich thu?

21 Is *ann* mar sin *a ta* 'n ti a thaisgeas ionmhas *dha féin*, agus nach '*eil* saibhir a thaobh *Dhé*.

22 Agus thubhairt e r'a dheisciobluibh, Uime sin a deirimse ribh, na biodh ro-chùram oirbh mu thimchioll bhur beatha, ciod a dh'itheas sibh; no mu thimchioll bhur cuirp, ciod a chuireas sibh umaibh.

23 Is mò a' bheatha na 'm biadh, agus an corp na 'n t-eudach.

24 Thugaibh fa'near na fithich: oir cha 'n'eil iadsan a' cur no buain; cha 'n'eil aca taisg-thigh no sabhal; agus a ta Dia 'gam beathachadh: Cia mòr is fearr sibhse na 'n eunlaith?

25 Agus cò agaibhse le ro-chùram is urrainn aon làmh-choille[m] a chur r'a àirde féin?

26 Mur 'eil sibh uime sin comasach air an ni a's lugha a dheanamh, c'ar son a ta sibh ro-chùramach mu *nithibh eile?*

27 Thugaibh fa'near na lilighean, cionnus a ta iad a' fàs: cha 'n'eil iad a' saoithreachadh, no a' sniomh: gidheadh a deirim ribh, nach robh Solamh féin 'na ghlòir uile, air a sgeadachadh mar aon diubh so.

28 Agus ma ta Dia mar sin a' sgeadachadh an fheoir, a ta 'n diugh sa' mhachair, agus am màireach air a thilgeadh san àmhuinn; nach mòr is mò *a sgeadaicheas e* sibhse, O dhaoine air bheag creidimh?

29 Uime sin na iarraibhse ciod a dh'itheas sibh, na ciod a dh'òlas sibh, agus na bithibh amharusach.

30 Oir na nithe so uile ta Cinnich an t-saoghail ag iarraidh: ach a ta fhios aig bhur n-Athairse gu bheil feum agaibh air na nithibh sin.

31 Ach iarraibhse rioghachd Dhé, agus cuirear na nithe so uile ribh.

32 Na biodh eagal ort, a threud bhig; oir is e deadh thoil bhur n-Athar an rioghachd a thoirt duibh.

33 Reicibh na bheil agaibh, agus thugaibh déirc uaibh: deanaibh dhuibh féin sporain nach fàs sean, ionmhas nach teirig anns na nèamhaibh, far nach d'thig gaduiche an fagus, agus nach truaill an reudan[n].

34 Oir ge b'e àit am bheil bhur n-ionmhas, an sin bithidh bhur cridhe mar an ceudna.

35 Biodh bhur *leasruidh* criosraichte m'an cuairt, agus *bhur* lòchrain air an lasadh;

36 Agus sibh féin cosmhuil ri daoinibh a ta feitheamh an Tighearna, 'nuair a philleas e o'n phòsadh, chum air dha teachd agus bualadh, gu'n grad-fhosgail iad dha.

37 Is beannuichte na seirbhisich sin, a gheibh an Tighearna, 'nuair a thig e, ri faire: gu deimhin a deirim ribh gu 'n criosraich se e féin m'an cuairt, agus gu'n cuir e 'nan suidhe iad chum bìdh, agus gu'n d' thig e mach agus gu'n dean e *frithealadh* dhoibh.

38 Agus ma thig e san *dara faire*, no ma thig e san *treas faire*, agus gu'm faigh e *iad* mar sin, is beannuichte na seirbhisich sin.

39 Agus biodh cinnt agaibh air so, nam biodh fhios aig fear an tighe cia an uair anns an d'thigeadh an gaduiche, gu'n deanadh e faire, agus nach fuilgeadh e a thigh a bhi air a tholladh trìd.

40 Bithibhse uime sin deas mar an ceudna: oir thig Mac an duine 'nuair nach saoil sibh.

41 Agus thubhairt Peadar ris, A Thighearn, an ann ruinne ta thu labhairt a' chosamhlachda so, no ris gach uile?

42 Agus thubhairt an Tighearn, Cò e uime sin an stiùbhard fìrinneach agus glic sin, a chuireas a Thighearn os cionn a theaghlaich, a thoirt *doibh an* cuibhrinn bìdh 'na àm féin?

43 *Is* beannuichte an seirbhiseach sin, a gheibh a Thighearn an uair a thig e, a' deanamh mar sin.

44 Gu fìrinneach a deirim ribh, gu 'n cuir se e os cionn na bheil aige.

45 Ach ma their an seirbhiseach sin 'na chridhe, Tha mo Thighearn a' cur dàil 'na theachd; agus ma thòisicheas e air na *h-òglaich* agus na ban-oglaich a bhualadh, agus itheadh, agus òl, agus a bhi air mhisg:

46 Thig Tighearn an t-seirbhisich sin ann an là nach 'eil sùil aige ris,

m *bhan-lamh.* n *leomann.*

agus ann an uair nach fios da, agus
gearraidh e 'na bhloighdibh e[o], agus
bheir e a chuibhrionn da maille ris
na mi-chreidich.

47 Agus an seirbhiseach sin d'am
b'aithne toil a mhaighstir, agus nach
d'ulluich e *féin*, agus nach d'rinn a
réir a thoile, buailear e le mòran
bhuillean.

48 Ach an ti da nach b'aithne,
agus a rinn nithe a b'airidh air buill-
ibh, buailear esan le beagan *do bhuill-
ibh.* Oir gach neach d'an d'thugadh
mòran, iarrar mòran uaith: agus ge
b'e ri 'n d'earbadh mòran, iarrar an
tuilleadh air.

49 Thainig mise a chur teine air
an talamh, agus ciod is àill leam, ma
ta e cheana air fhadadh.

50 Ach a ta baisteadh agam ri bhi
air mo bhaisteadh leis, agus cionnus
a ta mi air mo theannadh gus an
coimhlionar e!

51 Am bheil sibh a' saoilsinn gu 'n
d' thainig mise a thoirt sìth air an
talamh? ni h-eadh, a deirim ribh,
ach aimh-reit.

52 Oir bithidh a so suas cùigear
an aon tigh air an roinn, triuir an
aghaidh dithis, agus dithis an aghaidh
triuir.

53 Bithidh an t-athair air a roinn
an aghaidh a' mhic, agus am mac
an aghaidh an athar; a' mhàthair an
aghaidh na h-inghin, agus an nigh-
ean an aghaidh na màthar; a' mhàth-
air chéile an aghaidh mnà a mic, a-
gus bean a' mhic an aghaidh a màth-
ar-chéile.

54 Agus thubhairt e mar an ceud-
na ris an t-sluagh, 'Nuair a chi sibh
neul ag éirigh san àirde 'n iar, air
ball their sibh, A ta fras a' teachd;
agus a ta e mar sin.

55 Agus an uair *a chi sibh* a'
ghaoth a deas a' séideadh, their
sibh, Bithidh teas ann; agus a ta e
tachairt.

56 A chealgairean, is aithne dhuibh
breth a thoirt air aghaidh nan speur,
agus na talmhainn: ach cionnus nach
'eil sibh a' toirt breth air an aimsir
so?

57 Agus c'ar son nach 'eil sibh
eadhon uaibh féin a' breithneachadh
an ni sin a ta ceart?

58 'Nuair a théid thu maille ri d'
eascaraid chum an uachdarain, dean
dìchioll san t-slighe air bhi air do
shaoradh uaith[p]; air eagal gu'n tar-
ruing e chum a' bhreitheimh thu,
agus gu'n tabhair am breitheamh
thairis do'n mhaor thu, agus gu'n
tilg am maor am priosun thu.

59 A deirim riut, nach d'théid thu
mach as sin, gus an ìoc thu eadhon a'
pheghinn dheireannach.

CAIB. XIII.

1 *Tha Criosd a' searmonachadh aith-
reachais o'n sgrios a thainig air na
Galiléaich, agus muinntir eile.* 6
*Cosamhlachd na craoibh-fhìge gun
toradh.* 11 *Tha Criosd a' slànuch-
adh na mnà a bha air a cromadh le
h-eucail phiantaich rè ochd bliadh-
na deug; &c.*

AGUS bha làthair san àm sin
daoine àraidh ag innseadh dha
mu thimchioll nan Galiléach, muinn-
tir a mheasg Pilat am fuil maille r'an
ìobairtibh.

2 Agus fhreagair Iosa agus thubh-
airt e riu, Am bheil sibh a' saoilsinn
gu'n robh na Galiléaich sin 'nam
peacachaibh ni's mò na na Galiléaich
uile, air son gu'n d' fhulaing iad a
leithid so?

3 Ni h-eadh, a deirim ribh: ach
mur dean sibh aithreachas, sgriosar
sibh uile mar an ceudna.

4 No na h-ochd fir dheug sin air
an do thuit an tùr ann an Siloam,
agus a mharbh iad, an saoil sibh gu'n
robh iadsan 'nam peacachaibh[r] os
cionn nan uile dhaoine a bha 'nan
còmhnuidh an Ierusalem?

5 Ni h-eadh, a deirim ribh: ach
mur dean sibh aithreachas, sgriosar
sibh uile mar an ceudna.

6 Labhair e mar an ceudna an
cosamhlachd so: Bha aig duine àr-
aidh crann-fìge suidhichte 'na ghàr-
adh fìona[s]: agus thainig e 'g iarraidh
toraidh air, agus cha d'fhuair e.

7 An sin thubhairt e ris a' ghàra-

[o] *sgaraidh e uaith e.* [p] *air a bhi rèidh ris.* [r] *féichneinibh.*
[s] *fhìon-lios.*

dair[t], Feuch, a ta mi rè thri bliadhna a' teachd a' dh'iarraidh toraidh air a' chrann-fhìge so, agus cha 'n'eil mi faotainn a bheag: gearr sìos e, c'ar son a ta e fàsachadh an talmhainn?

8 Agus fhreagair esan agus thubhairt e ris, A Thighearna, leig leis air a' bhliadhna so mar an ceudna, gus an cladhaich mi m'a thimchioll, agus gu'n cuir mi aolach[u] *m'a bhun:*

9 Agus ma ghiùlaineas e toradh, *is math sin:* ach mur giùlain, 'na dhéigh sin gearraidh tu sìos e.

10 Agus bha e a' teagasg an aon do na sionagogaibh air an t-sàbaid.

11 Agus feuch, bha bean àraidh *a làthair* aig an robh spiorad anmhuinneachd rè ochd bliadhna deug, agus bha i air a cromadh ri chéile, agus gun chomas aice air chor sam bith i féin a dhìreachadh.

12 Agus an uair a chunnaic Iosa *i,* ghairm e d'a ionnsuidh *i,* agus thubhairt e rithe, A bhean, tha thu air d' fhuasgladh[a] o d' anmhuinneachd.

13 Agus chuir e a làmhan oirre: agus air ball[b] rinneadh dìreach i, agus thug i glòir do Dhia.

14 Agus fhreagair uachdaran na sionagoige, agus e làn do fheirg air son gu'n d'rinn Iosa leigheas air latha na sàbaid, agus thubhairt e ris an t-sluagh, Tha sea làithean anns an còir obair a dheanamh: orra so air an aobhar sin thigibh, agus bithibh air bhur leigheas, agus na b'ann air latha na sàbaid.

15 An sin fhreagair an Tighearn e, agus thubhairt e, A chealgair[c], nach fuasgail gach aon agaibh a dhamh no asal o'n phrasaich, agus nach toir e gu uisge e air latha na sàbaid?

16 Agus nach bu chòir a' bhean so, a ta 'na h-inghin do Abraham, a cheangail Satan a nis rè ochd bliadhna deug, a bhi air a fuasgladh o'n chuibhreach so air latha na sàbaid?

17 Agus an uair thubhairt e na nithe sin, chuireadh a naimhdean uile gu nàire: ach rinn an sluagh uile gairdeachas, air son nan uile nithe glòrmhor a rinneadh leis.

18 An sin thubhairt e, Cia ris a ta rìoghachd Dhé cosmhuil? agus cia ris a shamhlaicheas mi i?

19 Tha i cosmhuil ri gràinne do shìol mustaird, a ghabh duine, agus a chuir e 'na ghàradh, agus dh'fhàs e, agus rinneadh craobh mhòr dheth: agus rinn eunlaith an athair nid 'na geugaibh.

20 Agus thubhairt e a rìs, Cò ris a shamhlaicheas mi rìoghachd Dhé?

21 Tha i cosmhuil ri taois ghoirt[d], a ghabh bean agus a dh'fholaich i an tri tomhasaibh mine, gus an do ghoirticheadh an t-iomlan.

22 Agus chaidh e tre[e] gach cathair agus baile beag, a' teagasg, agus a' gabhail na slighe gu Hierusalem.

23 An sin thubhairt neach àraidh[f] ris, A Thighearn, an tearc iad a shaorar? Agus thubhairt esan riu,

24 Deanaibh spairn chruaidh gu dol a stigh air a' gheata chumhann: oir a deirim ribh, gu'n iarr mòran dol a stigh, agus nach urrainn iad.

25 O'n uair a dh'éireas fear an tighe, agus a dhùineas e 'n dorus, agus a thòisicheas sibhse air seasamh a muigh, agus an dorus a bhualadh, ag ràdh, A Thighearn, a Thighearn, fosgail duinn; agus air fhasan freagairt thèir e ribh, Cha'n aithne dhomh sibh, cò as a ta sibh:

26 An sin tòisichidh sibh air a ràdh, Dh' ith sinn agus dh'òl sinn a'd' làthair, agus theagaisg thu 'nar sràidibh.

27 Ach their esan, A deirim ribh, cha 'n aithne dhomh sibh, cò as a ta sibh; imichibh uam uile, a luchd deanamh na h-eucorach.

28 An sin bithidh gul agus gìosgan fhiacal, an uair a chì sibh Abraham, agus Isaac, agus Iacob, agus na fàidhean uile ann an rìoghachd Dhé, agus sibh féin air bhur tilgeadh a mach.

29 Agus thig iad o'n àird an ear, agus o'n àirde 'n iar, agus o'n àirde tuath agus deas, agus suidhidh iad ann an rìoghachd Dhé.

[t] *ghairdinear.* [u] *inneir.* [a] *air do shaoradh.* [b] *san uair sin féin.* [c] *A chealgairean* [d] *laibhin.* [e] *troimh, trid.* [f] *àraid.*

30 Agus feuch, a ta daoine air
dheireadh a bhitheas air thoiseach,
agus air thoiseach a bhitheas air dheir-
eadh.
31 Air an là sin féin thainig Phair-
isich àraidh d'a ionnsuidh, ag ràdh
ris, Gabh[g] a mach, agus imich as so:
oir tha toil aig Herod do mharbhadh.
32 Agus thubhairt e riu, Imichibh
agus innsibh do'n t-sionnach sin,
Feuch, a ta mi tilgeadh mach dheamh-
an, agus a ta mi deanamh leigheas an
diugh, agus am màireach, agus air an
treas là bithidh mi air mo dheanamh
foirfe.
33 Gidheadh, is éigin domh im-
eachd an diugh agus am màireach,
agus an là 'na dhéigh sin: oir cha'n
fheud e bhi gu'n cuirear fàidh gu bàs
a mach a Ierusalem.
34 A Ierusalem, a Ierusalem, a
mharbhas na fàidhean, agus a chlach-
as an dream a chuirear a d' ionnsuidh:
cia minic a b'àill leam do chlann a
chruinneachadh, mar *a chruinnicheas*
cearc a h-àlach fuidh a sgiathaibh,
agus cha b'àill libh?
35 Feuch, dh'fhàgadh bhur tigh
fàs agaibh: agus gu deimhin a deir-
im ribh, nach faic sibh mise, gus an
d'thig an t-àm, anns an abair sibh,
Is beannuichte an ti a thig an ainm
an Tighearna.

CAIB. XIV.

2 Tha Crirsd a' slànuchadh neach air an robh a' mheud-bhronn, 7 a' teagasg irioslachd. 16 Le cosamhlachd na suipeire mòire, tha e a' nochdadh cionnus a bhios daoine saoghalta, a ni tàir air focal Dé, air an druideadh a mach a rioghachd nèimhe, &c.

AGUS tharladh, an tràth chaidh
e gu tigh uachdarain àraidh
do na Phairisich a dh'itheadh bìdh
air latha na sàbaid, gu'n robh iad a'
deanamh geur fhaire air.
2 Agus feuch, bha duine àraidh 'na
làthair air an robh a' mheud-bhronn[h].
3 Agus fhreagair Iosa, agus labh-
air e ris an luchd-lagha, agus ris na
Phairisich, ag ràdh, Am bheil e cead-
uichte leigheas a dheanamh air latha
na sàbaid?
4 Ach dh'fhan iadsan 'nan tosd.
Agus air dha breith *air*, leighis se e,
agus leig e uaith *e:*
5 Agus fhreagair e iadsan[i], ag
ràdh, Cò agaibhse, ma thuiteas asal
no a dhamh ann an slochd, nach tarr-
uing a mach gu grad e air latha na
sàbaid?
6 Agus cha b'urrainn iad a fhreag-
airt a ris anns na nithibh sin.
7 Agus labhair e cosamhlachd[l] riu-
san a fhuair cuireadh, 'nuair a thug
e fa'near mar a thagh iad na ceud
àiteacha-suidhe, ag ràdh riu,
8 'Nuair a gheibh thu cuireadh o
neach air bith chum bainnse, na
suidh anns a' cheud àit: air eagal
gu'n d'fhuair duine a's urramaiche
na thusa cuireadh uaith;
9 Agus gu'n d'thig an ti a thug
cuireadh dhuitse agus dhasan, agus
gu'n abair e riut, Thoir àit do'n
duine so; agus gu'n tòisich thusa an
sin le nàire air suidhe anns an àit a's
ìsle.
10 Ach an uair a gheibh thu cuir-
eadh, imich agus suidh anns an àit
a's ìsle; chum, 'nuair a thig esan a
thug cuireadh dhuit, gu'n abair e
riut, A charaid, suidh suas ni's àirde:
an sin gheibh thu urram an làthair
na muinntir a ta 'nan suidhe air bord
maille riut.
11 Oir ge b'e neach a dh'àrdaich-
eas e féin, ìslichear e; agus ge b'e
neach a dh'ìslicheas e féin, àrdaichear
e.
12 An sin thubhairt e ris an ti
mar an ceudna a thug cuireadh dha,
'Nuair a ni thu dinneir no suipeir,
na gairm do chàirde, no do bhràithre,
no do luchd-dàimh, no do choimh-
earsnaich shaibhre; air eagal gu'n
toir iadsan mar an ceudna cuireadh
dhuitse a rìs, agus gu'm faigh thu
chomain cheudna.
13 Ach an uair a ni thu cuirm[m],
gairm na bochdan, na daoine ciurram-
ach, na bacaich, na doill:
14 Agus bithidh tu beannuichte,
chionn nach urrainn iad a' chomain

[g] *Theirig, Rach.* [h] *dropsy.* Sasg. [i] *labhair e riu a rìs.*
[l] *comhad, parabal.* [m] *feisd.*

cheudna thoirt duit: oir gheibh thu
comain ann an aiseirigh nam fìrean.
15 Agus an uair a chual aon do
na shuidh maille ris air bord na nithe
sin, thubhairt e ris, Is beannuicht'
an ti sin a dh'itheas aran ann an
rioghachd Dhé.
16 Ach thubhairt esan ris, Rinn
duine àraidh suipeir mhòr, agus thug
e cuireadh do mhòran:
17 Agus chuir e sheirbhiseach
uaith an àm na suipeire a ràdh ris a'
mhuinntir a fhuair cuireadh, Thigibh,
oir a ta na h-uile nithe a nis ullamh.
18 Agus thòisich iad uile a dh'aon
ghuth air an leithsgeul a ghabhail.
Thubhairt an ceud fhear ris, Cheann-
aich mi fearann, agus is éigin domh
dol a mach agus fhaicinn: guidheam
ort, gabh mo leithsgeul.
19 Agus thubhairt fear eile, Cheann-
aich mi cùig cuing' dhamh, agus a ta
mi dol g'an dearbhadh: guidheam
ort, gabh mo leithsgeul.
20 Agus thubhairt fear eile, Phòs
mi bean, agus air an aobhar sin cha
'n'eil e 'n comas domh teachd.
21 Agus thainig an seirbhiseach
sin, agus dh'innis e na nithe sin d'a
thighearn. An sin air gabhail feirge
do fhear an tighe, thubhairt e r'a
sheirbhiseach, Gabh a mach gu grad
gu sràidibh agus gu caol-shràidibh a'
bhaile, agus thoir a stigh an so na
bochdan, agus na daoine ciurramach,
agus na bacaich, agus na doill.
22 Agus thubhairt an seirbhiseach,
A Thighearn, rinneadh mar a dh'òrd-
nich thu, gidheadh tha àite falamh
ann fathast.
23 Agus thubhairt an Tighearna
ris an t-seirbhiseach, Gabh a mach
gus na rathaidibh mòra agus na gàr-
achaibh, agus coimhéignich iad gu
teachd a steach, chum's gu 'm bi mo
thigh-air a lìonadh.
24 Oir a deirim ribh, nach blais
aon do na daoinibh ud a fhuair cuir-
eadh, do m' shuipeirse.
25 Agus bha sluagh mòr ag im-
eachd maille ris: agus air dha tionnd-
adh, thubhairt e riu,
26 Ma thig neach air bith do m'
ionnsuidhse, agus nach fuathaich e
athair, agus a mhàthair, agus a bhean
phòsda, agus a chlann, agus a bhràith-
rean, agus a pheathraichean, seadh,
agus a bheatha mar an ceudna, cha
'n'eil e 'n comas da bhi 'na dheis-
ciobul domhsa.
27 Agus ge b'e neach nach giùlain
a chrann-ceusaidh, agus nach lean
mise, cha 'n'eil e'n comas da bhi 'na
dheisciobul domhsa.
28 Oir cò am fear agaibhse leis
am miann tùr a thogail, nach suidh
sìos air tùs, agus nach meas an costus,
a dh'fheuchainn am bheil aige na
chuireas crìoch air?
29 Air eagal an déigh dha a bhun-
adh a leagadh, agus gun bhi comas-
ach air crìoch a chur air, gu'n tòisich
na h-uile a chi e ri fanoid air,
30 Ag ràdh, Thòisich an duine
so air tigh a thogail, agus cha b'urr-
ainn e a chrìochnachadh.
31 No cò an righ ag dha dol a
mach gu cogadh an aghaidh righ eile,
nach suidh sìos air tùs, agus nach
gabh comhairle, a dh'fheuchainn an
urrainn e le deich mìle coinneamh a
thoirt dasan a ta teachd le fichead
mìle 'n a aghaidh?
32 No air bhi dhasan fathast fad
uaith, cuiridh e teachdaireachd a
dh'iarraidh cumhachan sìth.
33 Mar sin mar an ceudna, gach
neach agaibhse, nach tréig na h-uile
nithe a ta aige, cha 'n'eil e'n comas
da bhi 'na dheisciobul domhsa.
34 Tha 'n salann maith: ach ma
chailleas an salann a bhlas, ciod e leis
an deanar deadh-bhlasda e?
35 Cha 'n'eil e iomchuidh chum
an talmhainn, no chum an dùnain[n];
ach tilgidh daoine mach e. An ti
aig am bheil cluasa chum éisdeachd,
éisdeadh e.

CAIB. XV.

1 *Cosamhlachd na caorach caillte,* 8 *a' mhìr airgid,* 11 *a' mhic struidh-eil.*

AN sin thainig na cìs-mhaoir uile
agus na peacaich am fagus da,
chum éisdeachd ris.
2 Agus rinn na Phairisich agus
na scrìobhuichean gearan, ag ràdh,

[n] òtraich.

Tha 'm fear so gabhail pheacach d'a
ionnsuidh, agus ag itheadh maille riu.
3 Agus labhair esan an cosamh-
lachd so riu, ag ràdh,
4 Cò an duine dhibhse aig am
bheil ceud caora, ma chailleas e aon
diubh, nach fàg an naoi deug agus
an ceithir fichead anns an fhàsach,
agus nach d'théid an déigh na caor-
ach a chailleadh, gus am faigh e i?
5 Agus air dha a faotainn, cuiridh
e air a ghuaillibh i le gairdeachas.
6 Agus an uair a thig e dhach-
aidh, gairmidh e a chàirdean agus a
choimhearsnaich an ceann a chéile,
ag ràdh riu, Deanaibh gairdeachas
maille riumsa, chionn gu'n d'fhuair
mi mo chaora bha caillte.
7 Mar sin, a deirim ribh, gu'm bi
aoibhneas air nèamh air son aon
pheacaich a ni aithreachas, ni's mò
na air son naoi deug agus ceithir
fichead fìrean, aig nach 'eil feum air
aithreachas.
8 No cò a' bhean aig am bheil
deich buinn airgid, ma chailleas i
aon bhonn diubh, nach las coinneal,
agus nach sguab an tigh, agus nach
iarr gu dìchiollach gus am faigh i *e?*
9 Agus air dh'i fhaotainn, gairm-
idh i *a* ban-chairdean agus *a* ban-
choimhearsnaich an ceann a chéile,
ag ràdh, Deanaibh gairdeachas leam-
sa, oir fhuair mi 'm bonn a chaill mi.
10 Mar an ceudna a deirim ribh,
A ta gairdeachas an làthair aingle
Dhé, air son aon pheacaich a ni aith-
reachas.
11 Agus thubhairt e, Bha aig
duine àraidh dithis mhac:
12 Agus thubhairt am *mac* a b'òige
dhiubh r'*a* athair, Athair, thoir dhomh-
sa a' chuid-roinn a thig *orm* do *d'*
mhaoin. Agus roinn e eatorra a
bheathachadh.
13 Agus an déigh beagain do làith-
ibh, chruinnich am mac a b'òige a
chuid uile, agus ghabh e a thurus do
dhùthaich fad air astar, agus an sin
chaith e a mhaoin le beatha struidh-
easaich [p].
14 Agus an uair a chaith e *a chuid*
uile, dh'éirich gorta ro mhòr san tìr
sin; agus thòisich e ri bhi ann an
uireasbhuidh.
15 Agus chaidh e agus cheangail
se e féin ri aon do shaor-dhaoinibh
na dùcha sin: agus chuir e d'a fhear-
ann e, a bhiadhadh [r] mhuc.
16 Agus bu mhiann leis a bhrù a
lìonadh do na plaosgaibh [s] a bha na
mucan ag itheadh; oir cha d'thug
neach air bith dha.
17 Agus an uair a thainig e chuige [t]
féin, thubhairt e, Cia lìon do luchd
tuarasdail m'atharsa aig am bheil aran
gu leoir [u] agus r'a sheachnadh, 'nuair
a ta mise a' bàsachadh le gorta?
18 Eiridh mi, agus théid mi
dh'ionnsuidh m'athar, agus their mi
ris, Athair, pheacaich mi 'n aghaidh
fhlaitheanais, agus a'd' làthairsa.
19 Agus cha 'n fhiu mi tuilleadh
gu'n goirte do mhacsa dhiom: dean
mi mar aon do d' luchd tuarasdail.
20 Agus dh' éirich e, agus chaidh
e dh'ionnsuidh athar. Ach air dha
bhi fathast fad uaith, chunnaic athair
e, agus ghabh e truas mòr *dheth* [a],
agus ruith e, agus thuit e air a mhuin-
eal, agus phòg se e.
21 Agus thubhairt am mac ris,
Athair, pheacaich mi an aghaidh
fhlaitheanais, agus a'd' làthairsa, agus
cha'n fhiu mi tuilleadh gu'n goirte
do mhac dhiom.
22 Ach thubhairt an t-athair r'a
sheirbhisich, Thugaibh a mach a'
chulaidh a's fearr, agus cuiribh uime
i, agus cuiribh fàinne air a làimh,
agus brògan air *a* chosaibh.
23 Agus thugaibh an so an laogh
biadhta, agus marbhaibh e; agus
itheamaid agus bìomaid subhach:
24 Oir bha mo mhac so marbh,
agus tha e beo a rìs; bha e caillte,
agus fhuaradh e. Agus thòisich iad
air bhi subhach.
25 A nis bha a mhac bu shine mach
san fhearann: agus an uair a thainig
e, agus a thàr [b] e 'm fagus do'n
tigh, chual e 'n ceòl agus an dannsa.
26 Agus ghairm e chuige aon do
na h-òglachaibh, agus dh'fheòraich e
ciod bu chiall do na nithibh sin.
27 Agus thubhairt esan ris, Thain-

[p] *anacaithtich.* [r] *bhuachailleachd.* [s] *cochallaibh.* [t] *thuige, d'a ionnsuidh.* [u] *leòr.* [a] *ris.* [b] *tharruing.*

ig do bhràthair; agus mharbh t'athair an laogh biadhta, chionn gu'n d'fhuair e rìs e slàn fallain.

28 Agus ghabh esan fearg, agus cha b'àill leis dol a stigh: air an aobhar sin thainig athair a mach, agus chuir e impidh air.

29 Ach fhreagair esan agus thubhairt e r'a athair, Feuch, a taims' a' deanamh seirbhis duit an uiread so do bhliadhnaibh, agus uair air bith cha do bhris mi t'àithne, gidheadh cha d'thug thu meann riamh dhomh, chum gu'm bithinn subhach maille ri m' chàirdibh.

30 Ach an uair a thainig do mhac so, a dh'ith suas do bheathachadh maille ri strìopaichibh, mharbh thu'n laogh biadhta dha.

31 Agus thubhairt e ris, A mhic, tha thusa a ghnàth maille rium, agus na h-uile nithe a's leamsa, is leatsa iad.

32 Bu chòir dhuinn a bhi subhach, agus aoibhneach: oir bha do bhràthair so marbh, agus tha e beo a rìs; agus bha e caillte, agus fhuaradh e.

CAIB. XVI.

1 Cosamhlachd an stiùbhaird eucoraich. 14 Tha Criosd a' cronachadh ceilg nam Phairiseach sanntach. 19 Cosamhlachd a' gheòcaire shaibhir, agus an duine bhochd Lasaruis.

AGUS thubhairt e mar an ceudna r'a dheisciobluibh, Bha duine saibhir àraidh ann aig an robh stiùbhard: agus chasaideadh ris e, mar neach a bha deanamh anacaithidh air a mhaoin.

2 Agus ghairm se e, agus thubhairt e ris, Ciod so a ta mi cluinntinn a d' thimchioll, thoir cunntas air do stiùbhardachd: oir cha'n fheud thu bhi ni 's faide a'd' stiùbhard.

3 An sin thubhairt an stiùbhard ann féin, Ciod a ni mi? oir a ta mo mhaighstir a' toirt na stiùbhardachd uam: cha'n urradh mi ruamhar a dheanamh, is nàr leam déirc iarraidh.

4 A ta fhios agam ciod a ni mi, chum 'nuair a chuirear as an stiùbhardachd mi, gu'n gabh iad a steach mi d'an tighibh mi.

5 Agus air dha gach aon diubhsan air an robh fiachan aig a Thighearn a ghairm d'a ionnsuidh, thubhairt e ris a' cheud fhear, Cia meud a ta aig mo Thighearn ortsa?

6 Agus thubhairt esan, Ceud tomhas[c] ola. Agus thubhairt e ris, Gabh do scriobhadh, agus suidh sios gu h-ealamh, agus scriobh leth-cheud.

7 An sin thubhairt e ri fear eile, Agus cia meud a ta aig ortsa? Agus thubhairt esan, Ceud tomhas[d] cruithneachd. Agus thubhairt e ris, Gabh do scrìobhadh, agus scrìobh ceithir fichead.

8 Agus mhol an Tighearn an stiùbhard eucorach, do bhrigh gu'n d'rinn e gu glic: oir a ta clann an t-saoghail so 'nan ginealach féin ni's glice na clann an t-soluis.

9 Agus a deirimse ribh, Deanaibh dhuibh féin càirdean le Mamon na h-eucorach; chum 'nuair a shiubhlas sibh[e], gu'n gabhar sibh do àitibh-còmhnuidh siorruidh.

10 An ti a ta fìrinneach anns an ni a's lugha, tha e fìrinneach mar an ceudna ann am mòran: agus an ti a ta eucorach anns an ni a's lugha, tha e eucorach ann am mòran mar an ceudna.

11 Air an aobhar sin mur robh sibh fìrinneach anns an t-saibhreas eucorach, cò a dh'earbas ribh an *saibhreas* fìor?

12 Agus mur robh sibh fìrinneach ann an cuid duine eile, cò a bheir dhuibh an ni a's libh féin?

13 Cha 'n'eil seirbhiseach sam bith comasach air seirbhis a dheanamh do dhà thighearn; oir an dara cuid fuathaichidh e aon diubh, agus bheir e gràdh do'n fhear eile; no gabhaidh e le aon diubh agus ni e tàir air an fhear eile. Cha 'n'eil sibh comasach air seirbhis a dheanamh do Dhia agus do Mhamon.

14 Agus chuala na Phairisich, a bha sanntach, na nithe sin uile: agus rinn iad fanoid air.

15 Agus thubhairt e riu, Is sibhse an dream a ta 'gar fìreanachadh féin

[c] *bat.* [d] *omer.* [e] *'nuair is bàs duibh.*

am fianuis dhaoine; ach is aithne do Dhia bhur cridheacha: oir an ni sin a ta ro mheasail aig daoinibh, is gràineileachd e 'm fianuis Dé.

16 *Bha* 'n lagh agus na fàidhean ann gu teachd Eoin: o sin tha rioghachd Dhé air a searmonachadh [f], agus a ta gach duine a' dol le dian stri a steach innte.

17 Agus is usadh do nèamh agus do 'n talamh dol thairis, na do aon lide do'n lagh tuiteam.

18 Gach neach a chuireas uaith a bhean, agus a phòsas bean eile, tha e deanamh adhaltrannais: agus ge b'e neach a phosas a' bhean a chuireadh air falbh o a fear, tha e deanamh adhaltrannais.

19 Bha duine saibhir àraidh ann, a bha air a sgeadachadh le purpur [g] agus lìon-eudach grinn, *agus bha e* caitheadh a bheatha gach là gu sòghail le mòr ghreadhnachas.

20 Agus bha duine bochd àraidh ann, d'am b'ainm Lasarus, a chuireadh 'na luidhe aig a dhorus, làn do chreuchdaibh,

21 Agus bu mhiann leis bhi air a shàsuchadh leis an sbruileach a bha tuiteam o bhord an duine shaibhir: seadh, agus thainig na madraidh agus dh'imlich iad a chreuchda.

22 Agus tharladh gu'n d'fhuair an duine bochd bàs, agus gu'n do ghiùlaineadh leis na h-ainglibh e gu uchd Abrahaim: fhuair an duine saibhir bàs mar an ceudna, agus dh'adhlaiceadh e.

23 Agus ann an ifrinn thog e suas a shùilean, air dha bhi ann am piantaibh, agus chunnaic e Abraham fad uaith, agus Lasarus 'na uchd.

24 Agus ghlaodh e, agus thubhairt e, Athair Abraham, dean tròcair orm, agus cuir Lasarus, chum's gu'n tum e bàrr a mheoir ann an uisge, agus gu'm fuaraich e mo theanga; oir a ta mi air mo ro-phianadh san lasair so.

25 Ach thubhairt Abraham, A mhic, cuimhnich gu'n d'fhuair thusa do nithe maithe ri àm dhuit bhi beo, agus Lasarus mar an ceudna droch nithe; ach a nis a ta esan a' faotainn sòlais, agus a ta thusa air do phianadh.

26 Agus a bhàrr air so uile, tha doimhne mhòr air a cur eadar sinne agus sibhse, air chor agus iadsan leis am b'àill dol as so d'ar ionnsuidhse, nach 'eil e 'n comas doibh, agus nach mò tha e 'n comas do aon neach teachd as sin d'ar n-ionnsuidhne.

27 An sin thubhairt e, Uime sin guidheam ort, athair, gu'n cuireadh tu e gu tigh m'athar:

28 Oir a ta cùigear bhràithrean agam; chum's gu'n d'thoir e fianuis doibh, air eagal gu'n d'thig iadsan mar an ceudna do'n ionad ro phianach so.

29 A deir Abraham ris, Tha Maois agus na fàidhean aca, éisdeadh iad riu-san.

30 Agus thubhairt esan, Ni h-eadh, Athair Abraham: ach ma théid neach d'an ionnsuidh o na marbhaibh, ni iad aithreachas.

31 Agus thubhairt e ris, Mur éisd iad ri Maois agus ris na fàidhibh, cha mhò a chreideas iad, ge d'éireadh neach o na marbhaibh.

CAIB. XVII.

1 *Tha Criosd a' teagasg gur còir dhuinn aobhar oilbheim a sheachnadh, 3 agus maitheanas a thoirt d'a chéile; 6 a' nochdadh mòr chumhachd beo chreidimh; 7 gu'm bheil sinne fa cheangal do Dhia, agus nach 'eil esan mar sin dhuinne, &c.*

AN sin thubhairt e r'a dheisciobluibh, Cha 'n fheudar nach d'thig oilbheuman: ach is anaoibhinn *dasan* tre 'n d'thig iad.

2 B'fhearr dha gu'm biodh clachmhuilinn air a crochadh m'a mhuineal, agus gu 'm biodh e air a thilgeadh san fhairge, na gu'n d'thugadh e oilbheum [h] dh'aon neach do'n mhuinntir bhig so.

3 Thugaibh an aire dhuibh féin: ma pheacaicheas do bhràthair a't' aghaidh, cronaich e; agus ma ghabhas e aithreachas, thoir maitheanas da.

4 Agus ma pheacaicheas e a't' aghaidh seachd uairean san là, agus gu'm pill e riut seachd uairean san là, ag ràdh, Tha aithreachas orm; thoir maitheanas da.

[f] *soisgeulachadh.* [g] *gorm-dhearg, corcur.* [h] *aobhar tuislidh.*

5 Agus thubhairt na h-abstoil ris an Tighearn, Meudaich ar creidimh.

6 Agus thubhairt an Tighearn, Nam biodh agaibh creidimh mar ghràinne do shìol mustaird, theireadh sibh ris a' chraoibh Shicamin so, Bi air do spìonadh as do fhreumhaibh, agus bi air do shuidheachadh sa' chuan; agus bhitheadh i ùmhhal dhuibh.

7 Ach cia agaibhse aig am bheil seirbhiseach a' treabhadh, no ri buachailleachd, a deir ris, an déigh dha teachd a steach o'n fhearann, Thig air ball, agus suidh sìos chum bìdh?

8 Agus nach dòchadh e ràdh ris, Ulluich ni a ghabhas mise gu m' shuipeir, agus criosraich thu féin, agus fritheil domh, gus an ith agus an ol mi; agus 'na dhéigh sin ithidh agus òlaidh tusa?

9 An tabhair e buidheachas do'n t-seirbhiseach sin do bhrigh gu'n d'rinn e na nithe a dh'orduicheadh dha? ni'n saoileam gu 'n tabhair.

10 Mar sin sibhse, 'nuair a ni sibh na h-uile nithe a dh'àithneadh dhuibh, abraibh, Is seirbhisich neo-tharbhach sinn: oir rinn sinn a mhàin an ni bu dligheach dhuinn a dheanamh.

11 A nis, ag dol suas da gu Hierusalem, chaidh e tre mheadhon Shamaria agus Ghalile[i].

12 Agus an uair a bha e dol a stigh do bhaile àraidh, thachair deichnear dhaoine air a bha 'nan lobhair, a sheas fad uaith:

13 Agus thog iad suas an guth, ag ràdh, Iosa, a mhaighstir, dean tròcair oirnn.

14 Agus an uair a chunnaic e iad, thubhairt e riu, Imichibh, nochdaibh sibh féin do na sagartaibh. Agus ag imeachd dhoibh, ghlanadh iad.

15 Agus an uair a chunnaic aon diubh gu'n do leighiseadh e, phill e air ais, a' toirt glòire do Dhia le guth àrd,

16 Agus thuit e air aghaidh aig a chosaibh-san, a' toirt buidheachais da: agus bu Shamaritanach e.

17 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e, Nach do ghlan[illegible] near? ach an naoinear [illegible] iad?

18 Cha d'fhuaradh a phill a thoirt glòire do Dhia, ach an coigreach so.

19 Agus thubhairt e ris, Eirich, imich; shlànuich do chreidimh [illegible].

20 Agus an uair a dh'fheoraich na Phairisich dheth, c'uin a thigeadh rioghachd Dhé, fhreagair e iad agus thubhairt e, Cha d'thig rioghachd Dhé air chor go mothaichear [illegible].

21 Cha mhò a their iad, Feuch an so, no, Feuch an sud: oir feuch, a ta rioghachd Dhé an taobh a stigh dhibh[l].

22 Agus thubhairt e ris na deisciobluibh, Thig na làithean anns am miannach libh aon do làithibh Mhic an duine fhaicinn, agus cha'n fhaic sibh e.

23 Agus their iad ribh, Feuch an so, no, Feuch an sud: na rachaibh, agus na leanaibh iad.

24 Oir mar a ta 'n dealanach a dhealraicheas o aon ionad fa nèamh, a' soillseachadh gus an ionad eile fa nèamh, mar sin a bhitheas Mac an duine mar an ceudna 'na là féin.

25 Ach is éigin da air tus mòran do nithibh fhulang, agus a bhi air a dhiultadh leis a' ghinealach so.

26 Agus mar a bha e ann an làithibh Noe, mar sin mar an ceudna bithidh e ann an làithibh Mhic an duine.

27 Bha iad ag itheadh agus ag òl, a' pòsadh agus air an tabhairt am pòsadh, gus an là an deachaidh Noe a steach do'n àirc: agus thainig an dìle[m], agus sgrios i iad uile.

28 Amhuil fòs mar a thachair ann an làithibh Lot: bha iad ag itheadh agus ag òl, a' ceannach agus a' reiceadh, a' planndachadh agus a' togail aitreabh:

29 Ach air an là sin féin anns an deachaidh Lot a mach a Sodom, fhrasadh teine agus pronnasc o nèamh, agus sgrios e iad uile:

30 Is ann mar sin a bhitheas anns an là am foillsichear Mac an duine.

31 Anns an là sin, an ti bhios air mullach an tighe, agus airneis ann

i eadar Samaria agus Galile. l cheana 'nar measg. m tuil.

d'thigeadh e nuas gus a
an ti a ta sa' mhach-
air, na p... an air ais mar an
ceudna.

32 Cuimhnichibh bean Lot.

33 Ge b'e neach a dh'iarras a
bheatha féin a thearnadh, caillidh e i;
agus ge b'e neach a chailleas a bheatha,
gleidhidh esan i.

34 A deirim ribh, anns an oidhche
sin bithidh dithis dhaoine san aon
leabaidh; gabhar aon diubh, agus
fàgar am fear eile.

35 Bithidh dithis bhan a' bleath[n]
cuideachd; gabhar aon diubh agus
fàgar a'bhean eile.

36 Bithidh dìthis dhaoine anns a'
mhachair; gabhar aon diubh agus
fàgar am fear eile.

37 Agus fhreagair iadsan agus
thubhairt iad ris, C'àit, a Thighearn?
agus thubhairt esan riu, Ge b'e ball
am bi 'n corp, an sin cruinnichear na
h-iolairean.

C A I B. XVIII.

*3 Mu thimchioll na bantraich liosda.
9 Mu'n Phairiseach agus mu'n
chìs-mhaor. 15 Tha clann air an
tabhairt gu Criosd. 18 B'àill le
uachdaran àraidh Criosd a lean-
tuinn, ach a ta e air a bhacadh leis
a shaibhreas.*

AGUS labhair e cosamhlachd riu,
a' nochdadh gur còir ùrnuigh
a dheanamh a ghnàth, agus gun
fhannachadh[o],

2 Ag ràdh, Bha breitheamh ann am
baile *àraidh*, air nach robh eagal Dé,
agus aig nach robh urram do dhuine.

3 Agus bha bantrach àraidh sa'
bhaile sin, agus thainig i d'a ionn-
suidh, ag ràdh, Cum còir rium an
aghaidh mo nàmhaid.

4 Agus cha b'àill leis rè tamuill:
ach na dhéigh sin thubhairt e ann
féin, Ge nach 'eil eagal Dé orm, no
urram agam do dhuine;

5 Gidheadh air son gu bheil a'
bhantrach so cur dragha orm, cum-
aidh mi còir rithe, air eagal leis a sìr-
theachd gu'n sgìthich i mi.

6 Agus thubhairt an Tighearn,
Eisdibh ciod a deir am breitheamh
eucorach.

7 Agus nach dean Dia dioghaltas
air son a dhaoine taghta féin, a ta 'g
éigheach ris a là agus a dh' oidhche,
ge ta e fad-fhulangach mu'n tim-
chioll?

8 A deirim ribh gu'n dean e diogh-
altas air an son gu luath. Gidheadh,
an uair a thig Mac an duine, am
faigh e creidimh air an talamh?

9 Agus labhair e 'n cosamhlachd
so ri dream àraidh bha 'g earbsadh
asda féin gu 'n robh iad 'nam firean-
aibh, agus a bha deanamh tàir air
dream eile:

10 Chaidh dithis dhaoine suas do'n
teampull a dheanamh ùrnuigh; fear
diubh 'na Phairiseach, agus am fear
eile 'na chìs-mhaor.

11 Sheas am Phairiseach leis féin,
agus rinn e ùrnuigh mar so, A Dhé,
tha mi toirt buidheachais duit nach
'eil mi mar *a ta* daoin' eile, 'nan
luchd foireigin, eucorach, adhaltrann-
ach, no eadhon mar an cìs-mhaor
so.

12 Tha mi a' trosgadh[p] dà uair
san t-seachduin, tha mi toirt deach-
aimh as na h-uile nithibh a ta mi
sealbhachadh.

13 Agus air seasamh do'n chìs-
mhaor fad air ais, cha b'àill leis fiu a
shùl a thogail suas gu nèamh, ach
bhuail e uchd, ag ràdh, A Dhia, dean
tròcair ormsa ta 'm pheacach.

14 A deirim ribh gu'n deachaidh
am fear so sìos d'a thigh air fhìrean-
achadh *ni 's mò* na'm fear ud eile:
oir ge b'e neach a dh'àrdaicheas e
féin, ìslichear e; agus ge b'e a
dh'ìslicheas e féin, àrdaichear e.

15 Agus thug iad d'a ionnsuidh
mar an ceudna naoidheana, chum's
gu'm beanadh e riu: agus an uair a
chunnaic na deisciobuil *so*, chronaich
siad iad.

16 Ach air do Iosa an gairm d'a
ionnsuidh, thubhairt e, Fuilgibh do
na leanabaibh teachd a'm' ionnsuidh-
se, agus na bacaibh iad; oir is
ann d'an leithidibh so ta rioghachd
Dhé.

[n] *meileadh.* [o] *sgìtheachadh.* [p] *trasgadh.*

17 Gu deimhin a deirim ribh, ge b'e nach gabh *rioghachd* Dhé mar leanabh beag, *nach* d'*théid* e air chor sam bith a *steach innte.*

18 *Agus dh'fheòraich* uachdaran àraidh *dheth, ag ràdh,* A mhaighstir *mhaith, ciod* a ni mi chum gu sealbhaich *mi a'* bheatha mhaireann-ach?

19 *Agus* thubhairt Iosa ris, C'ar son a ghoireas tu maith dhiomsa? cha 'n'eil neach sam bith *maith ach* a h-aon, *eadhon* Dia.

20 Is aithne dhuit na h-àitheanta, Na dean adhaltrannas, Na dean mort-adh, Na goid, Na toir fianuis bhréige, Thoir onoir[o] do t'athair agus do d' mhàthair.

21 Agus thubhairt esan, Choimhid mi iad sin uile o m' òige.

22 Agus air cluinntinn so do Iosa, thubhairt e *ris, Tha aon ni* fathast a dh'uireasbhuidh *ort*: reic na h-uile nithe ta agad, agus roinn air na bochdaibh, *agus* bithidh agad ion-mhas air nèamh; agus thig, *agus* lean mise.

23 Agus an uair a chual e so, bha e ro dhoilich: oir bha mòr bheartas aige.

24 Agus an uair a chunnaic Iosa gu 'n robh e lan tuirse, thubhairt e, Cia deacair *dhoibhsan*[p] aig am bheil saibhreas, dol a steach do rioghachd Dhe!

25 Oir is usadh do chàmhal dol tre chrò snàthaide, na do dhuine saibhir dol a steach do rioghachd Dhé.

26 Agus thubhairt iadsan a chuala *so,* Cò ma seadh a dh'fheudas bhi air a shaoradh?

27 Ach thubhairt esan, Na nithe a ta eucomasach do dhaoinibh, tha iad comasach do Dhia.

28 An sin thubhairt Peadar, Feuch, thréig sinne na h-uile nithe, agus lean sinn thusa.

29 Agus thubhairt esan riu, Gu deimhin a deirim ribh, nach 'eil aon neach a thréig tigh, no pàrantan, no bràithrean, no bean phòsda, no clann air son rioghachd Dhé,

30 Nach faigh mòran ni 's mò anns an aimsir so ta làthair, agus anns an t-saoghal a ta ri teachd, a' bheatha mhaireannach.

31 Agus ghabh e 'n dà fhear dheug d'a ionnsuidh, agus thubhairt e riu, Feuch, a ta sinn a' dol suas do Hierusalem, agus bithidh na h-uile nithe a ta sgriobhta leis na fàidhibh mu *Mhac* an duine, air an coimhlionadh.

32 Oir bheirear thairis e do na Cinnich, agus théid fanoid a dhean-*amh air,* agus masluichear e, agus tilgear smugaid air:

33 Agus sgiùrsaidh agus marbh-aidh iad e: agus air an treas là éiridh e rìs.

34 Agus cha do thuig iadsan aon ni dhiubh so: agus bha na briathra so folaichte orra, agus cha b'aithne *dhoibh* na nithe a dubhradh.

35 Agus tharladh, 'nuair a dhruid e *ri* Iericho, gu'n robh dall àraidh 'na shuidhe ri taobh na slighe, ag *iarraidh* déirce.

36 Agus air cluinntinn an t-sluaigh a' dol seachad, dh'fheòraich e ciod e so.

37 Agus dh'innis iad da, gu'm b'e Iosa o Nasaret a *bha* gabhail seachad.

38 Agus ghlaodh e, ag ràdh, Iosa, Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm.

39 Agus chronaich iadsan a bha air thoiseach e chum 's gu'm biodh e 'na thosd: ach bu mhòid gu mòr a ghlaodh esan, A Mhic Dhaibhidh, dean tròcair orm.

40 Agus air seasamh do Iosa, dh'àithn e a thoirt d'a ionnsuidh: agus an uair a thainig e 'm fagus da, dh'fheòraich e dheth,

41 Ag ràdh, Ciod is àill leat mise a dheanamh dhuit? agus thubhairt esan, A Thighearn, mi dh'fhaotainn mo radhairc.

42 Agus thubhairt Iosa ris, Gabh do radharc: shlànuich do chreidimh thu.

43 Agus air ball fhuair e a radh-arc, agus lean se e, a' toirt glòir do Dhia: agus thug an sluagh uile cliu do Dhia, 'nuair a chunnaic iad *so.*

[o] *urram.* [p] *cruaidh orra-san.*

CAIB. XIX.

1 M... Shacheuis a' chìs-mhaoir. 11 ... deich puind airgid. 28 Tha Criosd a' marcachd do Hierusalem le greadhnachas, 41 a' caoidh air a son, 45 a' tilgeadh mach an luchd ceannachd agus reicidh as an teampull; &c.

AGUS air do *Iosa* dol a steach, chaidh e tre Ierichò.

2 Agus feuch, bha duine ann d'am b'ainm Sacheus, agus b'àrd chìs-mhaor esan, agus bha e saibhir:

3 Agus bha déidh aige air Iosa fhaicinn, cò e, agus cha b'urrainn e air son an t-sluaigh, chionn gu'n robh e ìosal 'na phearsa.

4 Agus ruith e roimhe, agus streap e suas ann an craoibh Shicamoir, chum gu faiceadh se e; oir bha e gus an t-slighe sin a ghabhail.

5 Agus an uair a thainig Iosa chum an àite sin, air dha amharc suas, chunnaic se e, agus thubhairt e ris, A Shacheuis, thig a nuas gu grad; oir is éigin domhsa stad an diugh aig do thigh.

6 Agus thainig e nuas le cabhaig, agus ghabh e ris gu subhach.

7 Agus an uair a chunnaic iad *so*, rinn iad uile gearan, ag ràdh, Gu'n deachaidh e steach air aoidheachd gu duine a ta 'na pheacach.

8 Agus sheas Sacheus agus thubhairt e ris an Tighearn, Feuch, a Thighearn, a ta mi toirt leth mo mhaoin do na bochdaibh: agus ma thug mi aon nì o neach air bith le casaid bhréige[t], bheirear *dha* a cheithir uiread.

9 Agus thubhairt Iosa ris[u], Thainig slàint' an diugh a dh'ionnsuidh an tighe so, do bhrigh gur mac do Abraham esan mar an ceudna.

10 Oir thainig Mac an duine dh'iarraidh agus a thearnadh an ni sin a bha caillte.

11 Agus ag cluinntinn nan nithe sin dhoibh, chuir e ris, agus labhair e cosamhlachd, do bhrigh gu'n robh e 'm fagus do Hierusalem, agus gu'n do shaoil iadsan gu'm biodh rioghachd Dhé air a grad fhoillseachadh.

12 Air an aobhar sin thubhairt e, Chaidh duin' uasal àraidh do dhùthaich fad as a dh'fhaotainn rioghachd dha féin, agus a philltinn air ais.

13 Agus ghairm e a dheich seirbhisich[a], agus thug e dhoibh deich puind, agus thubhairt e riu, Cuiribh gu buil iad, gus an d'thig mise.

14 Ach bha fuath aig muinntir a dhùcha dha, agus chuir iad teachdaireachd 'na dhéigh, ag ràdh, Cha'n àill leinn an duine so bhi 'na righ oirnn.

15 A nis an uair a phill e air ais, an déigh dha an rioghachd fhaotainn, an sin dh'orduich e na seirbhisich ud bhi air an gairm d'a ionnsuidh, d'an d'thug e 'n t-airgiod, chum's gu'm biodh fhios aige ciod a bhuannaich gach aon diubh leis a bhuileachadh.

16 An sin thainig an ceud *fhear*, ag ràdh, A Thighearn, bhuidhinn do phund deich puind.

17 Agus thubhairt e ris, Is maith, a dheadh sheirbhisich: do bhrigh gu'n robh thusa fìrinneach ann an ro-bheagan, biodh agadsa uachdaranachd air deich bailtibh.

18 Agus thainig an dara *fear*, ag ràdh, A Thighearn, rinn do phund cùig puind.

19 Agus thubhairt e risean, Bi-sa mar an ceudna os cionn chùig bailte.

20 Agus thainig *fear* eile, ag ràdh, A Thighearn, feuch, do phund, a bha agamsa taisgte ann an neapaicin[b]:

21 Oir bha eagal orm romhad, do bhrigh gur duine geur-theann thu: tha thu a' togail an ni nach do leag thu, agus a' buain an ni nach do chuir thu.

22 Agus thubhairt e ris, As do bheul féin bheiream breth ort, a dhroch sheirbhisich. Bha fhios agad gu 'm bu duine geur-theann mi, a' togail an ni nach do leag mi, agus a' buain an ni nach do chuir mi:

23 Air an aobhar sin c'ar son nach do chuir thu m' airgiod do'n bhanc[c],

[t] *gu h-eucorach.* [u] *m'a thimchioll.* [a] *deichnear d'a sheirbhisich.* [b] *bréid, lamh-anart.* [c] *nach d'thug thu m'airgiod do'n luchd-malairt.*

agus air teachd *dhomhsa* thogainn e
le riadh ?
24 Agus thubhairt e riusan a bha
'nan seasamh a làthair, Thugaibh
uaith am pund, agus thoiribh dhasan
e aig am bheil na deich puind.
25 (Agus thubhairt iad ris, A
Thighearn, tha deich puind aige)
26 Oir a deirim ribh, Gu'n d'thoir-
ear do gach neach aig am bheil : ach
uaithsan aig nach 'eil, bheirear eadh-
on an ni sin a ta aige.
27 Ach thugaibh an so na naimh-
dean ud agamsa, leis nach b'àill mise
bhi 'm righ os an ceann, agus marbh-
aibh a'm' fhianuis *iad*.
28 Agus air dha so a ràdh, dh'im-
ich e rompa, a' dol suas gu Hierusá-
lem.
29 A nis an uair a dhruid e ri
Betphage agus Betani, làimh ris an
t-sliabh d'an goirear[d] *sliabh* nan
crann-ola, chuir e dithis d'a dheis-
ciobluibh uaith,
30 Ag ràdh, Imichibh do'n bhaile
ta fa'r comhair ; anns am faigh sibh,
air dol dhuibh a steach, searrach
ceangailte, air nach do shuidh aon
duine riamh : fuasglaibh, agus thug-
aibh an so e.
31 Agus ma dh'fheòraicheas neach
air bith dhibh, C'ar son a ta sibh 'g a
fhuasgladh ? mar so a their sibh ris,
A ta feum aig an Tighearn air.
32 Agus air imeachd dhoibhsan a
chuireadh air falbh, fhuair iad mar
thubhairt e riu.
33 Agus an uair a bha iad a' fuasg-
ladh an t-searraich, thubhairt a
shealbhadairean riu, C'ar son a ta
sibh a' fuasgladh an t-searraich ?
34 Agus thubhairt iadsan, Tha
feum aig an Tighearn air.
35 Agus thug iad gu h-Iosa e :
agus thilg iad am falluingean air an
t-searrach, agus chuir iad Iosa air.
36 Agus ag imeachd dhasan, sgaoil
iad am falluingean fuidhe air an
t-slighe.
37 Agus an uair a thainig e 'm
fagus, eadhon gu dol sìos sléibh nan
crann-ola, thòisich mòr chuideachd
nan deisciobul uile ri gairdeachas a
dheanamh, agus moladh a thoirt do
Dhia le *guth* àrd, air son [illegible]
oibre cumhachdach a [illegible].
38 Ag ràdh, Gu ma beannaichte
an righ a ta teachd an ainm an Tigh-
earna : sìth air nèamh, agus glòir
anns na h-àrdaibh.
39 Agus thubhairt cuid do na
Phairisich o mheasg an t-sluaigh ris,
A mhaighstir, cronaich do dheisciob-
uil.
40 Agus fhreagair esan, agus thubh-
airt e riu, A deirim ribh, nam fanadh
iad sin 'nan tosd, gu'n glaodhadh na
clacha féin.
41 Agus an uair a thainig e 'm
fagus, chunnaic e 'm baile, agus ghuil
e air a shon,
42 Ag ràdh, O gu'm b'aithne
dhuit[e], eadhon dhuitse, air bheag sam
bith ann ad latha so féin, na nithe a
bhuineas do d' shìth ! ach a nis a ta
iad folaichte o d' shùilibh.
43 Oir thig na làithean ort, anns
an tilg do naimhde dìg mu d' thim-
chioll, agus an iadh iad umad m'an
cuairt, agus an druid iad a stigh air
gach taobh thu,
44 Agus an leag iad co ìosal ris
an làr thu, agus do chlann annad,
agus nach fàg iad annad clach air
muin cloiche ; do bhrigh nach b'aith-
ne dhuit aimsir t'fhiosrachaidh.
45 Agus chaidh e steach do'n
teampull, agus thòisich e air an dream
a bha reiceadh, agus a' ceannach ann
a thilgeadh mach,
46 Ag ràdh riu, Tha e sgrìobhta,
Is tigh ùrnuigh mo thighsa ; ach
rinn sibhse 'na gharaidh luchd-reub-
ainn e.
47 Agus bha e gach là a' teagasg
san teampull. Ach dh'iarr na h-àrd
shagairt agus na scriobhuichean, a-
gus ceannardan a' phobuill esan a
mhilleadh,
48 Gidheadh cha robh fhios ac'
ciod a dheanadh iad : oir bha 'm pob-
ull uile ag éisdeachd ris le ro-aire.

CAIB. XX.

1 *Tha Criosd a' dearbhadh gu'n robh
ùghdarras aige, le ceist mu bhaist-
eadh Eoin.* 9 *Cosamhlachd an fhion-
lios.* 19 *Mu thimchioll cìs a thoirt*

[d] *d'an gairmear, ris an abrar.*

[e] *Nam b'aithne dhuit.*

[illegible] easar. 27 Tha e dearbhadh [illegible] nan Sadusach, a bha 'g [illegible] righ nam marbh, &c.

AGUS t[illegible]adh air aon do na làithibh sin, an uair a bha e [illegible]eagasg a' phobuill san teampull, [illegible]gus a' searmonachadh an t-soisgeil, [illegible]n d'thainig na h-àrd shagairt agus [illegible]a scrìobhuichean air, maille ris na [illegible]eanairibh.

2 Agus labhair iad ris, ag ràdh, [illegible]nis duinn ciod e an t-ùghdarras [illegible] am bheil thu a' deanamh nan nithe [illegible] no cò esan a thug an t-ùghdarras so dhuit?

3 Agus fhreagair esan agus thubhairt e riu, Feòraichidh mise mar an ceudna aon ni dhibhse; agus freagraibh mi:

4 Baisteadh Eoin, an ann o nèamh a bha e, no o dhaoinibh?

5 Agus reusonaich iad eatorra féin, ag ràdh, Ma their sinn, O nèamh, their esan, C'ar son ma ta nach do chreid sibh e?

6 Ach ma their sinn, O dhaoinibh, clachuidh an sluagh uile sinn; oir is deimhin leo gu'm b'fhàidh Eoin.

7 Agus fhreagair iadsan, Nach robh fhios aca cia uaith *a bha e.*

8 Agus thubhairt Iosa riu, Ni mò a dh'innseas mise dhuibhse ciod e an t-ùghdarras tre 'n deanam na nithe so.

9 An sin thòisich e air a' chosamhlachd so a labhairt ris an t-sluagh: Phlannduich duine àraidh fìon-lios, agus shuidhich e air tuath e; agus chaidh e air choigrich rè aimsir fhada.

10 Agus anns an àm dhlìgheach chuir e seirbhiseach dh'ionnsuidh na tuatha, chum gu'n d'thugadh iad da do thoradh an fhìon-lios: ach ghabh an tuath air, agus chuir iad uatha fa[illegible]mh *e.*

11 Agus a rìs chuir e seirbhiseach e[illegible]e uaith; agus ghabh iad airsan mar an ceudna, agus mhaslaich iad *e,* agus chuir iad uatha falamh *e.*

12 Agus a thuilleadh air sin chuir e 'n treas *seirbhiseach* uaith; agus lot iad esan mar an ceudna, agus thilg iad a mach *e.*

13 An sin thubhairt Tighearn an fhìon-lios, Ciod a ni mi? cuiridh mi mo Mhac gràdhach *d'an ionnsuidh:* feudaidh e bi, air fhaicinn doibh, gu'n d'thoir iad urram dha.

14 Ach an uair a chunnaic an tuath e, reusonaich iad eatorra féin, ag ràdh, Is e so an t-oighre: thigibh, marbhamaid e, chum's gu'm bi 'n oighreachd againn féin.

15 Agus thilg iad a mach as an fhìon-lios e, agus mharbh iad e. Ciod uime sin a ni Tighearn an fhìon-lios riu?

16 Thig e agus sgriosaidh e an tuath ud, agus bheir e 'm fìon-lios do dhaoinibh eile. Agus an uair a chual iad *so,* thubhairt iad, Nar leigeadh Dia.

17 Agus air dhasan amharc orra, thubhairt e, Ciod e so ma seadh a ta scrìobhta, A' chlach a dhiult na clachairean, rinneadh ceann na h-oisinn dith?

18 Ge b'e neach a thuiteas air a' chloich sin, brisear e: ach ge b'e neach air an tuit i, pronnaidh i gu luaithreadh e.

19 Agus anns an uair sin féin dh'iarr na h-àrd shagairt agus na scrìobhuichean làmh a chur ann; ach bha eagal an t-sluaigh orra; oir thuig iad gu'm b'ann 'nan aghaidh féin a labhair e'n cosamhlachd so.

20 Agus rinn iad geur fhaire *air,* agus chuir iad a mach luchd feill, a leigeadh orra féin a bhi 'nam fìreanaibh, chum's gu'n deanadh iad greim air fhoclaibh, air chor's gu'n d'thugadh iad thairis e do chumhachd agus do ùghdarras an uachdarain.

21 Agus dh'fheòraich iad deth, ag ràdh, A mhaighstir, tha fhios againn gu bheil thu a' labhairt agus a' teagasg gu ceart, agus nach 'eil suim agad do phearsa *duine sam bith,* ach gu bheil thu teagasg slighe Dhé a réir na fìrinn.

22 Am bheil e ceaduichte dhuinn cìs a thoirt do Cheasar, no nach 'eil?

23 Ach thuig esan an cuilbheartachd, agus thubhairt e riu C'ar son a ta sibh ga m' bhuaireadh?

24 Nochdaibh dhomh peghinn: cia leis an dealbh agus an scrìobhadh a ta oirre? Fhreagair iadsan agus thubhairt iad, Le Ceasar.

25 Agus thubhairt esan riu, Thugaibhse air an aobhar sin do Cheasar na nithe 's le Ceasar, agus do Dhia na nithe 's le Dia.

26 Agus cha b'urrainn iad greim a dheanamh air fhoclaibh am fianuis an t-sluaigh: agus ghabh iad iongantas d'a fhreagradh, agus dh'fhan iad 'nan tosd.

27 An sin thainig d'a ionnsuidh dream àraidh do na Sadusaich (a ta 'g àicheadh gu bheil aiseirigh ann) agus dh'fheòraich iad deth,

28 Ag ràdh, A mhaighstir, scrìobh Maois dhuinn, Nam faigheadh bràthair duin' air bith bàs, agus beanphòsda aige, agus gu'm faigheadh e bàs gun chlann, gu'n gabhadh a bhràthair a bhean, agus gu'n togadh e suas sliochd d'a bhràthair.

29 Air an aobhar sin, bha seachdnar bhràithrean ann: agus ghabh an ceud fhear bean, agus fhuair e bàs gun chlann.

30 Agus ghabh an dara fear i mar mhnaoi, agus fhuair esan bàs gun chlann.

31 Agus ghabh an treas fear i; agus mar an ceudna an t-seachdnar. Agus cha d'fhàg iad clann, agus fhuair iad bàs.

32 Fa dheireadh uile fhuair a' bhean bàs mar an ceudna.

33 Anns an aiseirigh uime sin, co dhiubh d'am bean i? oir bha i aig an t-seachdnar 'na mnaoi.

34 Agus fhreagair Iosa, agus thubhairt e riu, Tha clann an t-saoghail so a' pòsadh, agus air an tabhairt am pòsadh:

35 Ach an droing sin a mheasar gur airidh iad air an t-saoghal ud fhaghail, agus an aiseirigh o na marbhaibh, cha 'n'eil iad a' pòsadh, no air an tabhairt am pòsadh.

36 Agus cha'n urrainn iad bàs fhaghail ni's mò; oir tha iad an coimh-inbhe ris na h-ainglibh, agus is iad clann Dé iad, air bhi dhoibh 'nan cloinn do'n aiseirigh.

37 Ach gu'n éirich na mairbh, nochd Maois fein aig a' phreas, an uair a ta e gairm do'n Tighearn, Dia Abrahaim, agus Dia Isaaic, agus Dia Iacoib.

38 A nis cha'n e Dia nam marbh e, ach nam beo; oir a ta iad uile beo dhasan.

39 An sin fhreagair dream àraidh do na scrìobhuichibh, agus thubhairt iad, A mhaighstir, is maith a labhair thu.

40 Agus cha robh cridh' aca tuilleadh ni sam bith fheòraich dheth.

41 Agus thubhairt e riu, Cionnus a deir iad gur e Criosd mac Dhaibhidh?

42 Agus a deir Daibhidh féin ann an leabhar nan Salm, Thubhairt an Tighearn re m' Thighearn, Suidh air mo làimh dheis,

43 Gus an cuir mi do naimhde 'nan stòl fuidh d' chosaibh.

44 Tha Daibhidh air an aobhar sin a' *gairm* a Thighearna dheth, cionnus ma seadh is e a mhac e?

45 An sin thubhairt e r'a dheisciobluibh, ann an éisdeachd an t-sluaigh uile,

46 Thugaibh an aire dhuibh féin o na scrìobhuichibh, leis am miann imeachd ann an culaidhibh fada, agus leis an ionmhuinn fàilte *fhaotainn* air na margaibh, agus na caithrichean a's àirde anns na sionagogaibh, agus na ceud àiteacha-suidhe aig féisdibh;

47 A shluigeas suas tighean bhantrach, agus air sgàth deadh choslais a ni ùrnuighean fada: gheibh iad sin an dìteadh a's mò.

CAIB. XXI.

1. Tha Criosd a' moladh na bantraich bhochd: 5 a' roimh-innseadh sgrios an teampuill, agus bhaile Ierusaleim; 25 mar an ceudna nan comharra bhios ann roimh an là dheireannach, &c.

AGUS air dha amharc suas chunnaic e na daoine saibhir a' tilgeadh an tiodhlacan ann an àite coimhead an ionmhais.

2 Agus chunnaic e mar an ceudna bantrach bhochd àraidh a' tilgeadh dà leth-fheoirling an sin.

3 Agus thubhairt e, Gu fìrinneach a deirim ribh gu'n do chuir a' bhantrach bhochd so ni's mò ann na iad uile.

[illegible]thilg iad so uile d'am pailt[illegible]h do thiodhlacaibh Dhé: [illegible]h-uireasbhuidh féin [illegible]n beathachadh [illegible]ile a bha aice.

5 Agus air do chuid diubh bhi [illegible]bhairt mu'n teampull, mar a bha e [illegible]r a dheanamh maiseach le clachaibh [illegible]mhach, agus le tiodhlacaibh, [illegible]ubhairt e,

6 *A thaobh* nan nithe so a chi sibh, [illegible] na làithean, anns nach fàgar cl[illegible]h air muin cloiche *dhiubh*, nach [illegible]r sìos.

7 Ag[illegible]h'fheòraich iadsan deth, ag ràdh, A mhaighstir, c'uin ma ta bhitheas na nithe so? agus ciod e an comhara 'nuair a bhios na nithe so gu teachd gu crìch?

8 Agus thubhairt esan, Feuchaibh nach meallar sibh; oir thig mòran ann am ainmse, ag ràdh, Is mise *Criosd;* agus a ta 'n t-àm am fagus: uime sin na leanaibh iad.

9 Ach an uair a chluinneas sibh mu chogannaibh, agus mu cheannaircibh[f], na biodh mòr gheilt oirbh: oir is éigin do na nithibh so tachairt air tùs, ach cha *'n'eil* a' chrìoch air ball.

10 An sin thubhairt e riu, Eiridh cinneach an aghaidh cinnich, agus rioghachd an aghaidh rioghachd:

11 Agus bithidh criothanna mòra talmhainn ann an iomadh àit, agus gortaidh, agus plàighean, agus nithe uamhasach, agus comharan mòra o nèamh.

12 Ach rompa so uile cuiridh iad làmh annaibhse, agus geur-leanaidh iad *sibh*, 'gar tabhairt thairis do choimh-thionalaibh[g], agus do phriosunaibh, 'gar tabhairt chum righrean agus uachdarana air sgàth m'ainmese.

13 Agus tachraidh so dhuibhse mar fhia[illegible]s.

14 Air an aobhar sin daingnichibh ann bhur cridhibh, gun smuaineachadh roimh làimh, ciod a fhreagras sibh air bhur son féin:

15 Oir bheir mise dhuibh beul agus gliocas, nach bi bhur naimhdean uile comasach air labhairt no cur 'na aghaidh.

16 Agus brathar sibh le'*r* pàrantaibh agus le'*r* bràithribh, agus le'*r* luchd dàimhe, agus le'*r* cairdibh; agus bheir iad fainear *cuid* dhibh a chur gu bàs.

17 Agus bithidh fuath aig na h-uile dhaoinibh dhuibh air son m'ainmese.

18 Ach cha chaillear fuilteinn[h] do ghruaig bhur cinn.

19 Ann bhur foighidin sealbhaichibh bhur n-anama féin.

20 Agus an uair a chi sibh Ierusalem air a cuairteachadh le armailtibh, an sin biodh fhios agaibh gu bheil a fàsachadh am fagus.

21 (An sin teicheadh iadsan a ta ann Iudea chum nam beann) agus imicheadh iadsan a ta 'na meadhonsa mach aisde; agus na rachadh iadsan a ta sa' mhachair, a steach innte.

22 Oir is iad sin làithean an dioghaltais, chum gu'n coimhlionar na h-uile nithe a ta sgrìobhta.

23 Ach mo thruaigh na mnài a bhios torrach, agus iadsan a bhios a' toirt cìche anns na làithibh sin: oir bithidh teanntachd[i] mhòr san dùthaich, agus fearg air a' phobull so.

24 Agus tuitidh iad le faobhar a' chlaidheimh, agus bheirear iad am braighdeanas chum nan uile chinneach: agus bithidh Ierusalem air a saltairt sìos fuidh na Cinnich, gus an coimhlionar aimsire nan Cinneach.

25 Agus bithidh comharan anns a' ghréin, agus anns a' ghealaich, agus anns na reultaibh; agus air an talamh airc nan cinneach, ann an iomachomhairle, an cuan agus na tonnan a' beucadaich;

26 Cridhe dhaoine 'gan tréigsinn trid eagal, agus feitheamh nan nithe sin a ta teachd air an domhan; oir bithidh cumhachda nan nèamh air an crathadh.

27 Agus an sin chi iad Mac an duine a' teachd ann an neul, le cumhachd agus mòr ghlòir.

28 Agus an uair a thòisicheas na nithe so air tachairt, an sin amhaircibh suas, agus togaibh bhur cinn; oir a ta bhur saorsa am fagus.

29 Agus labhair e cosamhlachd

[f] *bhuaircas, éirigh-mach.* [g] *shionagogaibh.* [h] *ròinneag.* [i] *cruaidh-chàs.*

riu, Amhaircibh air a' chraoibh-
fhìge, agus na craobhan uile;
30 'Nuair a bhios iad a cheana a'
cur a mach *an duillich*, air fhaicinn
duibh, aithnichidh sibh uaibh féin, gu
bheil an samhradh a nis am fagus.
31 Agus mar an ceudna sibhse,
'nuair a chi sibh na nithe so a' tach-
airt, biodh fhios agaibh gu bheil
rioghachd Dhé fagus do làimh.
32 Gu deimhin a deirim ribh, nach
d'théid an linn[l] so thairis, gus an
coimhlionar na nithe *so* uile.
33 Théid nèamh agus talamh thair-
is: ach cha d'théid mo bhriathrasa
thairis a choidhch.
34 Agus thugaibh an aire dhuibh
féin, air eagal uair air bith gu'm bi
bhur cridhe fuidh uallaich le geòcair-
eachd[m], agus le misg[n], agus le
ro-chùram mu nithibh na beatha so,
agus gu'n d'*thig an là sin oirbh gu*
h-obann.
35 Oir mar ribe thig e air na
h-uile dhaoinibh, a ta 'g àiteachadh
aghaidh na talmhainn uile.
36 Deanaibhse air an aobhar sin
faire, a' deanamh ùrnuigh gach àm,
chum's gu measar gur airidh sibh air
dol as o na nithibh sin uile a ta gu
teachd, agus seasamh an làthair Mhic
an duine.
37 Agus bha e san là a' teagasg
san teampull, agus san oidhche chaidh
e mach, agus dh'fhan e air an t-sliabh,
d'an goirear *sliabh* nan crann-ola.
38 Agus thainig an sluagh uile gu
moch d'a ionnsuidh san teampull, a
dh'éisdeachd ris.

CAIB. XXII.

Tha na h-Iudhaich a' gabhail comhairle 'n aghaidh Iosa. 3 Tha Satan ag aomadh Iudais gu esan a bhrath. 7 Tha na abstoil ag ulluchadh na càisge. 19 Tha Criosd ag orduchadh a shuipeir naomha. 32 a' dearbh-innseadh do Pheadar nach diobradh a chreidimh e. 34 ach gu'n àicheadhadh e esan tri uairean; 39 a' deanamh ùrnuigh, agus fuidh fhallas fola; 47 air a bhrath le pòig, &c.

A NIS dhruid riu féisd[o]
neo-ghoirtichte, d'an[p] [illegible]
a' chaisg.
2 Agus bha na h-àrd[r] shagairt,
agus na scrìobhuichean ag iarraidh
cionnus a dh'fheudadh iad esan
chur gu bàs; oir bha eagal [illegible]
t-sluaigh orra.
3 An sin chaidh Satan ann [illegible]
Iudas d'an comh-ainm Iscariot, a bh[illegible]
do àireamh an dà fhir dheug.
4 Agus dh'imich e, agus labhai[r]
ris na h-àrd shagartaibh agus
ceannardaibh an teampuill, cionnus a
bhrathadh se esan doibh.
5 Agus bha iad subhach, agus rinn
iad coimhcheangal airgiod a thabhairt
da.
6 Agus gheall esan, agus dh'iarr e
àm iomchuidh air a bhrath dhoibh
gun an sluagh a bhi làthair.
7 An sin thainig là an arain neo-
ghoirtichte, anns am b'éigin an t-uan-
càisge a mharbhadh.
8 Agus chuir e uaith Peadar agus
Eoin, ag ràdh, Imichibh, agus ulluich-
ibh dhuinn a' chàisg, chum gu'n ith
sinn *i*.
9 Agus thubhairt iadsan ris, C'àit
an àill leat sinn a dh'ulluchadh?
10 Agus thubhairt e riu, Feuch,
air dhuibh dol a steach do'n bhaile,
tachraidh oirbh duine, a giùlan soith-
ich uisge; leanaibh e do'n tigh anns
an d'théid e steach.
11 Agus abraibh ri fear an tighe,
A deir am maighstir riut, C'àit am
bheil an seòmar aoidheachd anns an
ith mi a' chàisg maille ri m' dheis-
ciobluibh?
12 Agus feuchaidh e dhuibh àrd
sheomar farsaing uidhimichte: ull-
uichibh an sin.
13 Agus dh'imich iad agus fhuair
iad mar thubhairt e riu: agus dh'ull-
uich iad a' chàisg.
14 Agus an tràth thainig an uair,
shuidh e sìos, agus an dà abstol deug
maille ris.
15 Agus thubhairt e riu, Le mòr
thogradh mhiannaich mi a' chàisg so
itheadh maille ribh roimh dhomh
fulang:

[l] ginealach. [m] craos. [n] meisg. [o] féill. [p] gairmear.
[r] prìomh shagairt.

a deirim ribh, nach ith mi
gus an coimhlionar i
ann an riogh[illegible] Dhé.
17 Agus ghlac e cupan, agus air
dha buidheachas a thabhairt, thubh-
airt e, Gabhaibh so, agus roinnibh
eadruibh féin e.
18 Oir a deirim ribh, nach òl mi
do thoradh na fìonain, gus an d'thig
rioghachd Dhé.
19 Agus ghlac e aran, agus an
deigh buidheachas a thabhairt, bhris
[illegible] thug e dhoibhsan e, ag ràdh,
'Se so mo chorpsa a ta air a thoirt air
air bhur sonsa: deanuibh so mar
chuimhneachan ormsa.
20 Agus mar an ceudna an cupan,
an déigh na suipeir, ag ràdh, Is e 'n
cupan so an tiomnadh nuadh ann am
fhuilse, a dhòirteadh air bhur sonsa.
21 Ach feuch, làmh an ti a bhrath-
as mise maille rium air a' bhòrd.
22 Agus gu fìrinneach a ta Mac
an duine ag imeachd a réir mar a
dh'orduicheadh: ach is anaoibhinn
do'n duine sin leis am brathar e.
23 Agus thòisich iadsan air fios-
rachadh eatorra féin, co aca bha gus
an ni so a dheanamh.
24 Agus bha mar an ceudna comh-
stri eatorra, co aca bu mhò a bhiodh.
25 Ach thubhairt esan riu, A ta
aig righribh nan Cinneach tighearn-
as orra; agus goirear daoine fial
dhiubhsan, aig am bheil ùghdarras[s]
orra.
26 Ach na bithibhse mar sin: ach
an neach a's mò 'nar measg, biodh e
mar an neach a's òige[t]: agus an ti
a's àirde, mar esan a ta ri fritheal-
adh.
27 Oir co aca 's mò, an ti a shuidh-
eas air bòrd, no esan a fhritheileas?
nach e 'n ti a shuidheas; ach a ta
mise 'nar measgsa mar fhear-fritheal-
aidh.
28 Is sibhse iadsan a dh'fhan
maille riumsa ann am dheuchainn-
ibh[u],
29 Agus a ta mise 'g orduchadh
dhuibh rioghachd, mar a' dh'orduich
m'Athair dhomhsa:
30 Chum's gu'n ith agus gu'n òl
sibh air mo bhordsa ann am riogh-
achd, agus gu'n suidh sibh air caith-
richibh rioghail, a' toirt breth air dà
threibh dheug Israeil.
31 Agus thubhairt an Tighearn,
A Shimoin, a Shimoin, feuch, dh'iarr
Satan sibhse, chum *bhur* criaradh mar
chruineachd:
32 Ach ghuidh mise air do shonsa,
nach dìobradh do chreidimh thu: a-
gus an uair a dh'iompoichear thu[a],
neartuich do bhràithre.
33 Agus thubhairt esan ris, A
Thighearn, tha mise ullamh gu dol
maille riut araon chum priosuin, agus
a chum bàis.
34 Agus thubhairt esan, A deirim
riut, a Pheadair, nach goir an coil-
each an diugh, gus an àicheadh thu
tri uairean gur aithne dhuit mi.
35 Agus thubhairt e riu, 'Nuair a
chuir mi uam sibh gun sporan, agus
gun mhàla, agus gun bhrògan, an
robh uireasbhuidh ni sam bith oirbh?
Agus thubhairt iad, Cha robh.
36 An sin thubhairt e riu, Ach a
nis ge b'e aig am bheil sporan, togadh
se e, agus mar an ceudna a mhàla:
agus an ti aig nach 'eil claidheamh,
reiceadh e fhalluing, agus ceannach-
adh e aon.
37 Oir a deirim ribh, gur éigin
fathast an ni so ta scrìobhta a choimh-
lionadh annamsa, Agus bha e air àir-
eamh am measg nan ciontach: oir
a ta crìoch aig na nithibh ud, a ta
mu m' thimchiollsa.
38 Agus thubhairt iadsan, A
Thighearn, feuch, a ta dà chlaidh-
eamh an so. Agus thubhairt esan
riu, Is leoir e.
39 Agus air dha dol a mach,
chaidh e, mar bu ghnàth leis, gu
sliabh nan crann-ola; agus lean a
dheisciobuil e.
40 Agus an uair a thainig e do'n
àit, thubhairt e riu, Deanaibh ùr-
nuigh, chum's nach tuit sibh ann am
buaireadh.
41 Agus thairngeadh esan uatha
mu thimchioll urchuir chloiche, agus
leig se e féin air a ghlùinibh, agus
rinn e ùrnuigh,

[s] *smachd, cumhachd.* [t] *a's lugha.* [u] *bhuairibh.* [a] *bhios tu air tionndadh.*

42 Ag ràdh, Athair, ma's toil leat cuir an cupan so tharum: gidheadh, na b'i mo thoilse, ach do thoilse gu robh deanta.

43 Agus dh'fhoillsicheadh dha aingeal o nèamh, 'ga neartachadh.

44 Agus air bhi dha ann an cruaidh ghleachd anama, rinn e ùrnuigh ni bu dùrachdaiche: agus bha fhallas mar bhraona mòra fola a' tuitcam sìos air an talamh.

45 Agus air dha *éirigh* o ùrnuigh, thainig e chum a dheisciobul, agus fhuair e 'nan codal iad tre thuirse.

46 Agus thubhairt e riu, C'ar son a ta sibh 'nar codal? éiribh, agus deanaibh ùrnuigh, chum's nach tuit sibh ann am buaireadh.

47 Agus an uair a bha e fathast a' labhairt, feuch sluagh, agus dh'imich esan d'am b'ainm *Iudas*, aon do'n dà fhear dheug, *rompa*, agus dhruid e ri h-Iosa, chum a phògadh.

48 Ach thubhairt Iosa ris, A Iudais, am bheil thu le pòig a' brath Mhic an duine?

49 Agus an uair a chunnaic iadsan a bha mu thimchioll-san an ni a bha gu tachairt, thubhairt iad ris, A Thighearn, am buail sinn leis a' chlaidheamh?

50 Agus bhuail aon diubh seirbhiseach an àrd shagairt, agus ghearr e dheth a chluas dheas.

51 Agus fhreagair Iosa agus thubhairt e, Fulaingibh gu so. Agus bhean e r'a chluais, agus shlànuich e i.

52 An sin thubhairt Iosa ris na h-àrd shagartaibh agus ceannardaibh an teampuill, agus na seanairibh, a thainig d'a ionnsuidh, An d' thainig sibh a mach le cloidhibh agus le bataibh, mar gu b'ann an aghaidh fir-reubainn[b]?

53 'N uair a bha mi gach là maille ribh san teampull, cha do shìn sibh a mach *bhur* làmhan a'm' aghaidh: ach 's i so bhur n-uairse, agus cumhachd an dorchadais.

54 An sin rug iad air, agus thug iad leo e[c] do thigh an àrd shagairt. Agus lean Peadar am fad uaith *e*.

55 Agus air dhoibh teine fhadadh ann am *meadhon* an talla, agus suidhe sìos am fochair a chéil[illegible] ar 'nam meadhon.

56 Ach chunnaic cailin àraidh e 'na shuidhe aig an teine, agus air dh'i amharc gu geur air, thubhairt i, Bha'm fear so mar an ceudna maille ris.

57 Agus dh'àicheadh esan e, ag ràdh, A bhean, cha'n aithne dhomh e.

58 Agus beagan 'na dhéigh sin chunnaic neach eile e, agus thubhairt e, '*S* ann diubh thusa mar an ceudna. Agus thubhairt Peadar, A dhuine, cha 'n ann.

59 Agus mu thimchioll ùine aon uaire 'na dhéigh sin, chathaich[d] neach eile air, ag *ràdh*, *Gu firinneach* bha'm fear so mar an ceudna maille *ris; oir is* Galiléach e.

60 Agus *thubhairt* Peadar, A dhuine, cha 'n aithne dhomh ciod a ta thu 'g ràdh. Agus air ball am feadh a bha e fathast a' labhairt, ghoir an coileach.

61 Agus air tionndadh do'n Tighearn, dh'amhairc e air Peadar; agus chuimhnich Peadar focal an Tighearna, mar thubhairt e ris, Mun goir an coileach, àicheadh tu mi tri uairean.

62 Agus chaidh Peadar a mach, agus ghuil e gu goirt.

63 Agus rinn na daoine, a chum Iosa, fanoid air, 'ga bhualadh.

64 Agus an uair a dh'fholuich iad a shùilean, bhuail iad e san aghaidh, agus dh'fheòraich iad deth, ag ràdh, Dean fàidheadaireachd cò e a bhuail thu?

65 Agus labhair iad mòran do nithibh eile gu toibheumach 'na aghaidh.

66 Agus an uair a bha 'n là air teachd, chruinnich seanairean an t-sluaigh, agus na h-àrd shagairt agus na scrìobhuichean an ceann a chéile, agus thug iad esan chum an comhairle,

67 Ag ràdh, An tusa Criosd? innis dhuinn. Agus thubhairt e riu, Ma dh'innseas mi dhuibh, cha chreid sibh.

68 Agus ma dh'fheòraicheas mi

[b] *creachadair, meirlich.* [c] *agus thug iad e.* [d] *chòmhdaich.*

ni a[illegible] bith, cha toir sibh freagradh
dhomh, [illegible]us cha leig sibh as mi.
[illegible] so bithidh Mac an
duine 'na sh[illegible]dhe air deas làimh
cumhachd Dhé.
70 An sin thubhairt iad uile, An
tusa ma seadh Mac Dhé? Agus
thubhairt e riu, A deir sibhse gur
mi.
71 Agus thubhairt iad, Ciod tuill-
t[illegible]dh am feum a ta againn air fian-
[illegible]? oir chuala sinn féin *i* as a bheul
[illegible]

CAIB. XXIII.

1 *Tha Criosd air a chasaid an làthair Philait.* 8 *Tha Herod a' deanamh fanoid air.* 12 *Rinneadh Herod agus Pilat 'nan cairdibh.* 18 *Tha Barabas air iarraidh leis an t-sluagh, agus air fhuasgladh le Pilat, agus tha Iosa air a thoirt thairis gu bhi air a cheusadh: &c.*

AGUS air éirigh d'an cuideachd
uile, thug iad e gu Pilat.
2 Agus thòisich iad air a chasaid,
ag ràdh, Fhuair sinn am fear so a'
claonadh a' chinnich, agus a' bacadh
cìs a thoirt do Cheasar, ag ràdh, Gur
e féin Criosd an righ.
3 Agus dh'fheòraich Pilat deth,
ag ràdh, An tusa righ nan Iudhach?
agus fhreagair esan agus thubhairt e,
A deir tu *e*.
4 An sin thubhairt Pilat ris na
h-àrd shagartaibh agus ris an t-sluagh,
Cha 'n'eil mi faotainn coire air bith
san duine so.
5 Agus bha iadsan ni bu ro dhéine,
ag ràdh, Tha e buaireadh an t-sluaigh,
a' teagasg tre Iudea uile, a' tòiseach-
adh o Ghalile gus an àit so.
6 'N uair a chuala Pilat mu Gha-
lile, dh'fheòraich e 'm bu Ghaliléach
an duine.
7 Agus an uair a chual e gu'm
b'ann fo uachdaranachd[e] Heroid a
bha e, chuir se e gu Herod, a bha e
féin an Ierusalem sna làithibh sin.
8 Agus an uair a chunnaic Herod
Iosa, bha aoibhneas mòr air: oir bha
déidh aige rè ùine fhada air esan
fhaicinn, do bhrigh gu'n cual e
mòran uime; agus bha dùil[f] aige
gu 'm faiceadh e mìorbhuil éigin air
a dheanamh leis.
9 An sin dh'fheòraich e mòran do
cheisdibh dheth; ach cha d'thug e
freagradh sam bith air.
10 Agus sheas na h-àrd shagairt
agus na scrìobhuichean 'ga chasaid
gu dian.
11 Ach chuir Herod agus a luchd-
cogaidh an neo-mheas e, agus rinn
iad fanoid air, agus an déigh a sgead-
achadh an eudach dealrach[g] chuir e
air ais gu Pilat e.
12 Agus rinneadh Pilat agus He-
rod 'nan cairdibh d'a chéile san là
sin; oir bha iad roimhe sin an naimhd-
eas r'a chéile.
13 Agus an uair a ghairm Pilat
an ceann a chéile na h-àrd shagairt,
agus na h-uachdarain, agus an sluagh,
14 Thubhairt e riu, Thug sibh
a'm' ionnsuidhs' an duine so, mar
neach a ta tionndadh an t-sluaigh a
thaobh: agus feuch, air dhomh *a*
cheasnachadh ann bhur làthair, cha
d'fhuair mi coire air bith san duine
so thaobh nan nithe sin mu'm bheil
sibh a' deanamh casaid air;
15 No mar an ceudna Herod: oir
chuir mi d'a ionnsuidh sibh, agus
feuch, cha d'rinneadh ni air bith leis[h]
toilltinneach air bàs.
16 Uime sin, air dhomhsa a smachd-
achadh, leigidh mi as *e*.
17 Oir b'éigin da aon a leigeadh
as doibh air an fhéisd.
18 Agus ghlaodh iad a mach
dh'aon ghuth, ag ràdh, Beir uainn
am fear so, agus leig air a chomas
duinne Barabas:
19 (Neach air son ceannairce àr-
aidh a rinneadh anns a' bhaile, agus
air son mortaidh, a thilgeadh am
priosun.)
20 Air an aobhar sin labhair Pilat
riu a rìs, air dha bhi toileach Iosa a
chur fa sgaoil.
21 Ach ghlaodh iadsan, ag ràdh,
Ceus *e*, ceus e.
22 Agus thubhairt e riu an treas
uair, C'ar son, ciod an cron a rinn e?
cha d'fhuair mise cúis bhàis air bith
ann: uime sin, an déigh dhomh a
smachdachadh, leigidh mi as *e*.

[e] *fo chumhachd, fo riaghladh.* [f] *dòchas.* [g] *ro gheal.* [h] *dha.*

23 Agus luidh iadsan air le guth-
aibh mòra, ag iarraidh esan a cheus-
adh: agus bhuadhaich an guthanna-
san, agus *guthanna* nan àrd shagart.
24 Agus thug Pilat breth gu'n
deanta na dh'iarr iad.
25 Agus leig e mach dhoibh esan
a thilgeadh am priosun air son ceann-
airce agus mortaidh, an neach a dh'iarr
iad; ach thug e thairis Iosa d'an toil.
26 Agus an tràth thug iad leo e,
rug iad air Simon, duine àraidh o
Chirene, a bha teachd o'n dùthaich,
agus chuir iad an crann-ceusaidh air,
g'a iomchar an déigh Iosa.
27 Agus lean cuideachd mhòr e
do'n t-sluagh, agus do mhnaibh, a
bha mar an ceudna ri bròn[i], agus 'ga
chaoineadhsan.
28 Ach air tionndadh do Iosa riu,
thubhairt e, A nigheana Ierusaleim,
na guilibh air mo shonsa, ach guilibh
air bhur son *féin*, agus air son bhur
cloinne:
29 Oir feuch, a ta na làithean a'
teachd, anns an abair iad, Is beann-
uichte na *mnài* sheasgal[l], agus na
bronna nach do ghiùlain *clann*, agus
na cìocha nach d'thug bainne.
30 An sin tòisichidh iad air a ràdh
ris na beanntaibh, *Tuitibh oirnne;*
agus ris na cnocaibh, *Folaichibh sinn.*
31 Oir ma ni iad na nithe so ris a'
chrann ùr, ciod a ni iad ris a' chrìon-
aich?
32 Agus thugadh mar an ceudna
dithis eile a bha 'nan luchd droch-
bheirt, chum bhi air an ceusadh
maille ris.
33 Agus an uair a thainig iad
do'n àit d'an goirear Calbhari[m], an
sin cheus iad e féin, agus na droch
dhaoine; fear dhiubh air a làimh dheis,
agus am fear eile air a làimh chli.
34 An sin thubhairt Iosa, Athair,
maith dhoibh; oir cha 'n'eil fhios
aca ciod a ta iad a' deanamh. Agus
ag roinn eudaich dhoibh, thilg iad
crannchur *air*.
35 Agus sheas an sluagh ag amh-
arc: agus rinn na h-uachdarain fan-
oid *air* maille riusan, ag ràdh, Shaor
e daoin' eile; saoradh se e féin, ma 's
e so Criosd, aon taghta Dhé.
36 Agus rinn na saighdearan mar
an ceudna fanoid air, a' teachd d'a
ionnsuidh, agus a' tairgse fion
geur dha.
37 Agus ag ràdh, Ma's tu righ
nan Iudhach, teasairg thu féin.
38 Agus bha scrìobhadh mar an
ceudna air a scrìobhadh os a chionn
ann an litrichibh Greigis, agus Laid-
in, agus Eabhra, IS E SO RIGH
NAN IUDHACH.
39 Agus thug aon do na droch
dhaoinibh a chrochadh, toibheum da,
ag ràdh, Ma's tu Criosd, saor thu
féin agus sinne.
40 Ach fhreagair am fear eile, a-
gus chronaich se e, ag ràdh, Nach
'eil eagal Dé ort, agus gu bheil thu
fuidh 'n aon diteadh *ris?*
41 Agus sinne da rìreadh an ceart-
as; oir a ta sinn a' faotainn nan nithe
sin a thoill ar gnìomharan: ach cha
d'rinn an duine so ceon air bith.
42 Agus thubhairt e ri h-Iosa, A
Thighearn, cuimhnich ormsa 'nuair
a thig thu do d' rìoghachd.
43 Agus thubhairt Iosa ris, Gu
deimhin a deirim riut, gu'm bi thu
maille riumsa 'n diugh ann am pàrr-
as.
44 Agus bha e mu thimchioll na
seathadh uaire, agus bha dorchadas
air an talamh uile gu an naothadh
uair.
45 Agus dhorchaicheadh a' ghrian,
agus reubadh brat-roinn an teampuill
'na mheadhon.
46 Agus an uair a ghlaodh Iosa
le guth mòr, thubhairt e, Athair, a ta
mi tiomnadh mo spioraid a'd' lamh-
aibhsa: agus an uair thubhairt e so,
thug e suas an deo.
47 A nis an uair a chunnaic an
ceannard-ceud an ni a rinneadh, thug
e glòir do Dhia, ag ràdh, Gu firinn-
each b'ionracan an duine so.
48 Agus an sluagh uile a chruinn-
ich dh'ionnsuidh an t sealladh sin,
an uair a chunnaic iad na nithe a
rinneadh, phill iad air an ais, a' bual-
adh an uchd.
49 Agus sheas a luchd eòlais uile,
agus na mnài a lean e o Ghalile, am
fad uaith, ag amharc air na nithibh sin.

[i] *bas-bhualadh.* [l] *neo-thorach, gun sliochd.* [m] *àit a' chlaiginn.*

50 Agus feuch, duine *àraidh* d'am b'ainm Ioseph, comhairleach, *a bha* 'na dhuine maith, agus 'na fhìrean,

51 (Cha d' aontaich an duine so d'an comhairle no d'an gnìomh) O Arimatea, baile leis na h-Iudhachaibh, (neach mar an ceudna aig an robh sùil ri rìoghachd Dhé.)

52 Chaidh esan gu Pilat, agus dh'iarr e corp Iosa.

53 Agus air dha a thoirt a nuas, phaisg e ann an lìon-eudach e, agus chuir e ann an uaigh e a chladhaicheadh a carraig, anns nach do chuireadh aon duine riamh roimhe.

54 Agus b'e sin là an ulluchaidh, agus bha 'n t-sàbaid am fagus.

55 Agus lean na mnài a thainig maille ris o Ghalile, agus chunnaic iad an uaigh, agus cionnus a chuireadh a chorp.

56 Agus phill iad, agus dh'ulluich iad spìosraidh [n], agus ola deadh bholaidh; agus ghabh iad tàmh air là na sàbaid, a réir na h-àithne.

C A I B. XXIV.

2 Tha aiseirigh Chriosd air a cur an céill le dà aingeal do na mnaibh a thainig a dh'amharc na h-uaighe: 9 tha iadsan 'ga innseadh do mhuinntir eile. 13 Dh'fhoillsicheadh Criosd féin do'n dithis dheisciobul a chaidh gu h-Emaus: 36 'na dhéigh sin dh'fhoillsicheadh e do na h-abstolaibh, agus tha e 'gan cronachadh air son am mi chreidimh, 47 agus a' toirt àithne dhoibh; 49 tha e gealtuinn an Spioraid naoimh, 51 agus a' dol suas do nèamh.

ANIS air a' cheud *là* do'n t-seachduin, gu ro mhoch air mhaduinn, thainig iad chum na h-uaighe, a' toirt leo nan spìosraidh a dh'ulluich iad, agus *mnài* àraidh *eile* maille riu.

2 Agus fhuair iad a' chlach air a carruchadh o'n uaigh.

3 Agus air dhoibh dol a steach, cha d'fhuair iad corp an Tighearna Iosa.

4 Agus am feadh a bha iad an iomacheist fa'n ni so, feuch, sheas dithis dhaoine làimh riu ann an eudaichibh dealrach.

5 Agus air bhi dhoibh fuidh eagal, agus a' cromadh *an* aghaidh chum na talmhainn, thubhairt iad riu, C'ar son a ta sibh ag iarraidh an tì a ta beo am measg nam marbh?

6 Cha 'n'eil e 'n so, ach dh'éirich e: cuimhnichibh mar a labhair e ribh air dha bhi fathast ann an Galile,

7 Ag ràdh, Is éigin do Mhac an duine bhi air a thabhairt thairis do làmhaibh dhaoine peacach, agus a bhi air a cheusadh, agus éirigh a rìs an treas là.

8 Agus chuimhnich iad a bhriathran.

9 Agus air dhoibh pilltinn o'n uaigh, dh'innis iad na nithe so uile do'n aon fhear deug, agus do chàch uile.

10 Agus b'i Muire Magdalen, agus Ioanna, agus Muire *màthair* Sheumais, agus mnài eile maille riu, a dh'innis na nithe so do na h-abstolaibh.

11 Agus mheasadh am briathra leo-san mar sgeula faoin, agus cha do chreid siad iad.

12 An sin air éirigh do Pheadar, ruith e chum na h-uaighe, agus air dha cromadh sìos, chunnaic e'n lìon-eudach 'na luidhe leis féin, agus dh'fhalbh e, a' gabhail iongantais leis féin mu'n ni so a rinneadh.

13 Agus feuch, bha dithis diubh a' dol air an là sin féin gu baile d'am b'ainm Emaus, a bha tri fichead stàid o Hierusalem.

14 Agus bha iad a' labhairt eatorra féin mu thimchioll nan nithe ud uile a thachair.

15 Agus an uair a bha iad a' còmhradh, agus a' coimh-reusonachadh, thainig Iosa e féin am fagus, agus dh'imich e maille riu.

16 Ach bha'n sùilean air an cumail, air chor as nach d'aithnich iad e.

17 Agus thubhairt e riu, Ciod e an còmhradh so air am bheil sibh a' teachd eadruibh féin, ag imeachd dhuibh, agus sibh dubhach?

18 Agus fhreagair fear diubh d'am b'ainm Cleopas, agus thubhairt e ris, Am bheil thus' a mhàin a' d'choigreach an Ierusalem, agus gun fhios

[n] *luibhean cùbhraidh.*

agad air na nithibh a rinneadh innte
anns na làithibh so?
19 Agus thubhairt e riu, Ciod na
nithe? Agus thubhairt iadsan ris, Na
nithe a thaobh Iosa o Nasaret, a bha
'na fhàidh cumhachdach ann an
gnìomh agus ann am focal am fianuis
Dé, agus an t-sluaigh uile:
20 Agus cionnus a thug na h-àrd
shagairt agus ar n-uachdarain thairis
chum dìtidh bàis e, agus a cheus iad e.
21 Ach bha dùil againne gu'm
b'esan an ti a bha gu Israel a shaor-
adh: agus a thuilleadh air so uile,
's e 'n diugh an treas là o rinneadh na
nithe so.
22 Agus mar an ceudna, chuir
mnài àraidh dhinn féin, a chaidh gu
moch a dh'ionnsuidh na h-uaighe,
mòr ioghnadh[o] oirnn:
23 Agus an uair nach d'fhuair iad
a chorp, thainig iad, ag ràdh, gu'm
fac iad sealladh do ainglibh, a thubhairt
gu bheil e beo.
24 Agus chaidh dream àraidh
dhiubhsan a bha maille ruinn féin,
chum na h-uaighe, agus fhuair iad
eadhon mar thubhairt na mnài; ach
cha'n fhac iad esan.
25 An sin thubhairt e riu, O
dhaoine amaideach[p], agus mall-
chridheach a chreidsinn nan nithe sin
uile a labhair na fàidhean!
26 Nach b'éigin do Chriosd na
nithe so fhulang, agus dol a steach
d'a ghlòir?
27 Agus air dha tòiseachadh o
Mhaois, agus o na fàidhibh uile,
dh'eadar-mhìnich e dhoibh anns na
scriobtuiribh uile na nithe m'a
thimchioll féin.
28 Agus dhruid iad ris a' bhaile,
d'an robh iad a' dol: agus leig esan
air gu'n rachadh e ni b'fhaide.
29 Ach choimhéignich iadsan e,
ag ràdh, Fan maille ruinne, oir a ta e
dlùth do'n fheasgar, agus tha deir-
eadh an là ann. Agus chaidh e
steach a dh'fhuireach maille riu.
30 Agus an uair a shuidh e gu
biadh maille riu, air dha aran a ghlac-
adh, bheannuich se e, agus bhris se e,
agus thug e dhoibh e.
31 Agus dh'fhosgladh an sùilean,
agus dh'aithnich iad e, agus chaidh
e as an t-sealladh.
32 Agus thubhairt iad ri' chéile,
Nach robh ar cridhe a' lasadh ann-
ainn, am feadh a bha e a' labhairt
ruinn air an t-slighe, agus an uair a
dh'fhosgail e dhuinn na scriobtuir-
ean?
33 Agus dh'éirich iad air an uair
sin féin, agus phill iad gu Ierusa-
lem, agus fhuair iad na h-aon fheir
deug cruinn an ceann a chéile, agus
an dream a bha maille riu,
34 Ag ràdh, Dh'éirich an Tighearn
da rìreadh, agus chunnacas le Simon
e.
35 Agus dh'innis iad na nithe a
rinneadh air an t-slighe, agus mar a
dh'aithnicheadh leo e ann am briseadh
an arain.
36 Agus ag labhairt nan nithe so
dhoibh, sheas Iosa féin 'nam meadhon,
agus a deir e riu, Sìth maille ribh.
37 Ach bha iadsan fuidh ghailt-
chrith agus fuidh eagal, agus shaoil
iad gur spiorad a chunnaic iad.
38 Agus thubhairt e riu, C'ar son
a ta sibh fuidh bhuaireas[r], agus c'ar
son a ta smuaintean ag éirigh suas
ann bhur cridhibh?
39 Feuchaibh mo làmhan agus mo
chosan, gur mi féin a th'ann: laimh-
sichibh mi, agus faicibh; oir cha 'n'eil
aig spiorad feoil agus cnàmha, mar a
chì sibh agamsa.
40 Agus an uair a thubhairt e so,
nochd e dhoibh a làmhan agus a
chosan.
41 Agus air bhi dhoibh fathast
mi-chreideach tre aoibhneas, agus iad
fuidh iongantas, thubhairt e riu, Am
bheil biadh sam bith agaibh an so?
42 Agus thug iad da mìr do iasg
ròiste, agus do chìr-mheala.
43 Agus ghlac se e, agus dh'ith e
'nam fianuis.
44 Agus thubhairt e riu, 'S iad so
na briathran a labhair mi ribh, 'nuair
a bha mi fathast maille ribh, gur
éigin do na h-uile nithibh a ta
scrìobhta ann an lagh Mhaois, agus
anns na fàidhibh, agus anns na salm-

[o] *uamhas.* [p] *neo-mhothachail.* [r] *thriobloid.*

aibh am thimchiollsa, bhi air an coimhlionadh.
45 An sin dh'fhosgail e an tuigse, chum gu'n tuigeadh iad na scriobtuirean.
46 Agus thubhairt e riu, Mar so a ta e scriobhta, agus mar so b'éigin do Chriosd fulang, agus éirigh o na marbhaibh an treas là:
47 Agus aithreachas agus maitheanas peacaidh bhi air an searmonachadh 'na ainmsan, do na h-uile chinneachaibh, a' tòiseachadh aig Ierusalem.
48 Agus is fianuisean sibhse air na nithibh so.
49 Agus feuch, cuireamsa gealladh m' Athar oirbh[s]: ach fanaibhse ann am baile Ierusalem, gus an sgeadaichear le cumhachd o na h-àrdaibh sibh.
50 Agus thug e mach iad co f had as Betani: agus thog e suas a làmhan, agus bheannuich e iad.
51 Agus am feadh a bha e 'gam beannuchadh, dhealaicheadh riu e, agus thogadh suas gu nèamh e.
52 Agus rinn iad aoradh dha, agus phill iad gu Hierusalem le gàirdeachas mòr:
53 Agus bha iad a ghnàth anns an teampull, a' moladh agus a' beannuchadh Dhé. Amen.

AN SOISGEUL A REIR EOIN.

C A I B. I.

1 *Dia-achd, daonnachd, agus dreuchd Iosa Criosd.* 15 *Fianuis Eoin.* 39 *Gairm Aindreais, Pheadair, &c.*

ANNS an toiseach bha am Focal, agus bha 'm Focal maille ri Dia, agus b'e 'm Focal Dia.
2 Bha e so air tùs maille ri Dia.
3 Rinneadh na h-uile nithe leis; agus as eugmhais cha d'rinneadh aon ni a rinneadh.
4 Annsan bha beatha, agus b'i a' bheatha solus dhaoine.
5 Agus tha 'n solus a' soillseachadh anns an dorchadas, agus cha do ghabh an dorchadas e.
6 Chuireadh duine o Dhia, d'am b'ainm Eoin.
7 Thainig esan mar fhianuis, chum fianuis a thoirt mu'n t-solus, chum gu'n creideadh na h-uile dhaoine trìdsan.
8 Cha b'esan an solus sin, ach *chuireadh e* chum gu d'thugadh e fianuis mu'n t-solus.
9 B'e so an solus fìor a ta soillseachadh gach uile dhuine tha teachd chum an t-saoghail.
10 Bha e anns an t-saoghal, agus rinneadh an saoghal leis, agus cha d'aithnich an saoghal e.
11 Thainig e dh'ionnsuidh a dhùcha fein, agus cha do ghabh a *mhuinntir* fein ris.
12 Ach a mheud 's a ghabh ris, thug e dhoibh cumhachd a bhi 'nan cloinn do Dhia, *eadhon* dhoibhsan a ta creidsinn 'na ainm:
13 A bha air an gineamhuin, cha'n ann o fhuil, no o thoil na feòla, no o thoil duine, ach o Dhia.
14 Agus rinneadh[t] am Focal 'na fheoil, agus ghabh e còmhnuidh 'nar measgne, (agus chunnaic sinn a ghlòir, mar ghlòir aoin-ghin Mhic an Athar) lan gràis agus fìrinn.
15 (Thug Eoin fianuis uime, agus ghlaodh e, ag ràdh, 'S e so an ti mu'n do labhair mi, An ti a ta teachd a'm' dhéigh, tha toiseach aig orm; oir bha e romham).
16 Agus as a làn-san fhuair sinne uile, agus gràs air son gràis.
17 Oir thugadh an lagh le Maois, ach thainig an gràs agus an fhìrinn le Iosa Criosd.
18 Cha'n fhaca neach air bith Dia riamh; an t-aonghin Mic, a ta ann

[s] *cuiridh mise na gheall m' Athair chugaibh.* [t] *dh'fhàs.*

an uchd an Athar, is esan a dh'fhoillsich *e*.

19 Agus is *i* so fianuis Eoin: An uair a chuir na h-Iudhaich sagairt agus Lebhithich o Hierusalem, chum gu'm feòraicheadh iad deth, Co thusa?

20 Dh'aidich esan, agus cha d'àicheadh e; ach dh' aidich e, Cha mhi Criosd.

21 Agus dh'fheòraich iad deth, Ciod ma seadh? An tu Elias? Agus a deir e, Cha mhi. An tu am fàidh? Agus fhreagair e, Cha *mhi*.

22 An sin thubhairt iad ris, Cò thu? chum gu'n tabhair sinn freagradh dhoibhsan a chuir *uatha* sinn: ciod a tha thu 'g ràdh ad thimchioll féin?

23 Thubhairt e, *Is* mise guth an ti a ghlaodhas[u] anns an fhàsach, Deanaibh dìreach slighe an Tighearna, mar thubhairt am fàidh Esaias.

24 Agus an dream a chuireadh *leis an teachdaireachd*, b'ann do na Phairisich *iad*.

25 Agus dh'fheòraich iad deth, agus thubhairt iad ris, C'ar son ma seadh a ta thu a' baisteadh, mur tu Criosd, no Elias, no 'm fàidh?

26 Fhreagair Eoin iad, ag ràdh, Ataims' a' baisteadh le h-uisge; ach a ta neach 'na sheasamh 'nar measg, nach aithne dhuibh.

27 'S e so an ti, a ta teachd a'm' dhéighse, aig am bheil toiseach orm, neach nach airidh mise air barr-iall a bhròige fhuasgladh.

28 Rinneadh na nithe so ann am Betani[a] air an taobh thall do Iordan, far an robh Eoin a' baisteadh.

29 Air an là màireach chunnaic Eoin Iosa a' teachd d'a ionnsuidh, agus a deir e, Feuch Uan Dé, a ta toirt air falbh peacaidh an t-saoghail!

30 Is e so an ti mu'n dubhairt mi, Tha fear a' teachd a'm' dhéigh, aig am bheil barrachd orm; oir bha e romham.

31 Agus cha robh aithne agamsa air: ach a chum gu'm bitheadh e air fhoillseachadh do Israel, uime sin thainig mi a' baisteadh le h-uisge.

32 Agus thug Eoin fianuis, ag ràdh, Chunnaic mi 'n Spiorad a' teachd a nuas mar choluman o nèamh, agus ghabh e còmhnuidh air.

33 Agus cha b'aithne dhomhsa e: ach an ti a chuir mi a bhaisteadh le h-uisge, thubhairt esan rium, Ge b'e air am faic thu an Spiorad a' teachd a nuas agus a' gabhail còmhnuidh air, 's e sin an ti a bhaisteas leis an Spiorad naomh.

34 Agus chunnaic mi, agus rinn mi fianuis, gur e so Mac Dhé.

35 Air an là màireach a rìs sheas Eoin, agus dithis d'a dheisciobluibh:

36 Agus air dha amharc air Iosa agus e ag imeachd[b], a deir e, Feuch Uan Dhé!

37 Agus chual an dithis dheisciobul e a' labhairt, agus lean iad Iosa.

38 Agus air tionndadh do Iosa, chunnaic e iad 'ga leantuinn, agus a deir e riu, Ciod a tha sibh ag iarraidh? Thubhairt iadsan ris, Rabbi, (se sin r'a ràdh, air eadar-theangachadh, A mhaighstir) c'àit am bheil thu gabhail còmhnuidh?

39 A deir e riu, Thigibh agus faicibh. Thainig iad agus chunnaic iad c'àit an robh e gabhail còmhnuidh, agus dh'fhan iad maille ris an là sin: oir bha e mu thimchioll na deicheamh uaire.

40 B'e Aindreas, bràthair Shimoin Pheadair aon do 'n dithis a chual Eoin *a' labhairt*, agus a lean esan.

41 Fhuair esan air tùs a bhràthair féin Simon, agus thubhairt e ris, Fhuair sinne am Mesias, is e sin, air eadar-theangachadh, Criosd[c].

42 Agus thug e chum Iosa e, Agus an uair a dh'amhairc Iosa air, thubhairt e, Is tusa Simon mac Iona: goirear Cephas dhiot, is e sin air eadar-theangachadh, Peadar[d].

43 Air an là 'na dhéigh sin, bu toil le Iosa dol a mach do Ghalile, agus fhuair e Philip, agus a deir e ris, Lean mise.

44 A nis bha Philip o Bhetsaida, baile Aindreais agus Pheadair.

45 Fhuair Philip Natanael, agus a

[u] *Is mise esan aig am bheil a ghuth ag éigheach* [a] *Betabara.*
[b] *a' sràid-imeachd.* [c] *Christos Gr. i. e. Aon ungta.* [d] *Petros Gr. i. e. carraig.*

deir e ris, Fhuair sinne an ti mu'n do scrìobh Maois anns an lagh, agus na fàidhean, Iosa o Nasaret, mac Ioseiph.

46 Agus thubhairt Natanael ris, Am feud ni maith air bith teachd a Nasaret? Thubhairt Philip ris, Thig agus faic.

47 Chunnaic Iosa Natanael a' teachd d'a ionnsuidh, agus a deir e uime, Feuch Israeleach da rìreadh, anns nach 'eil cealg.

48 A deir Natanael ris, Cionnus is aithne dhuit mi? Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, Mun do ghairm Philip thu, 'nuair a bha thu fuidh 'n chrann-fhìge, chunnaic mise thu.

49 Fhreagair Natanael agus thubhairt e ris, Rabbi, is tusa Mac Dhé, is tu Righ Israeil.

50 Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, A chionn gu'n dubhairt mi riut, Chunnaic mi thu fuidh 'n chrannfhige, am bheil thu creidsinn? chi thu nithe a's mò na iad so.

51 Agus thubhairt e ris, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, 'Na dhéigh so chi sibh nèamh fosgailte, agus aingil Dhé a' dol suas agus a' teachd a nuas air Mac an duine.

C A I B. II.

1 *Tha Criosd a' deanamh fìon do'n uisge,* 12 *a' dol do Chapernaum, agus do Herusalem,* 14 *far am bheil e a' glanadh an teampuill o luchd reicidh agus ceannachd:* 19 *a' roimh-innseadh a bhàis agus aiseirigh, &c.*

AGUS air an treas là bha pòsadh ann an Cana Ghalile; agus bha màthair Iosa an sin.

2 Agus fhuair Iosa mar an ceudna agus a dheisciobuil cuireadh chum a' phòsaidh.

3 Agus air teireachdainn do'n fhìon, thubhairt màthair Iosa ris, Cha 'n'eil fìon aca.

4 Thubhairt Iosa rithe, Ciod e mo ghnothuchsa riut, a bhean? cha d'thainig m'uairse fathast.

5 Thubhairt a mhàthair ris an luchd frithealaidh, Ge b'e ni a their e ribh, deanaibh e.

6 Agus bha sea soithichean uisge do chloich air an cur an sin, a réir gnàtha glanaidh nan Iudhach, a ghabhadh dà fheircin no tri gach aon diubh.

7 Thubhairt Iosa riu, Lìonaibh na soithiche le uisge. Agus lìon siad iad gus am beul.

8 Agus thubhairt e riu, Tàirngibh a nis, agus thugaibh chum uachdarain na cuirme[e]. Agus thug iad *ann e.*

9 'Nuair a bhlais uachdaran na cuirme an t-uisge a rinneadh 'na fhìon, (agus cha robh fhios aige cia as a thainig e; ach bha fhios aig an luchd frithealaidh a tharruing an t-uisge) ghoir uachdaran na cuirme am fear nuadh-pòsda[f],

10 Agus thubhairt e ris, Cuiridh gach duine fìon maith a làthair air tùs; agus an uair a dh'òlas daoine gu leoir, an sin *am fìon* a's measa: *ach* ghleidh thus' am fìon maith gus a nis.

11 An toiseach so do mhìorbhuilibh rinn Iosa ann an Cana Ghalile, agus dh'fhoillsich e a ghlòir; agus chreid a dheisciobuil ann.

12 An déigh so chaidh e sìos do Chapernaum, e féin, agus a mhàthair, agus a bhràithrean, agus a dheisciobuil, agus cha d'fhan iad ann mòran do làithibh.

13 Agus bha càisg nan Iudhach am fagus, agus chaidh Iosa suas gu Hierusalem.

14 Agus fhuair e 'nan suidhe anns an teampull luchd reicidh cruidh[g], agus chaorach, agus choluman, agus luchd malairt an airgid:

15 Agus air deanamh sgiùrsair[h] dha do chordaibh caola, dh'fhuadaich e mach as an teampull iad uile, agus na caoraich agus an crobh; agus dhòirt e mach airgiod an luchd malairt, agus thilg e na buird thairis;

16 Agus thubhairt e riusan a bha reiceadh choluman, Togaibh iad sin as so; na deanaibh tigh m'Atharsa 'na thigh marsandachd.

17 Agus chuimhnich a dheisciobuil gu'n robh e scrìobhta, Dh'ith eud[i] do thighe suas mi.

18 An sin fhreagair na h-Iudh-

[e] *féisde.* [f] *fear na bainnse.* [g] *dhamh.* [h] *cuipe.* [i] *ro-chùram.*

aich, agus thubhairt iad ris, *Ciod an*
comhara nochdas tu *dhuinne*, do
bhrigh gu bheil thu deanamh nan
nithe sin?
19 Fhreagair Iosa agus thubhairt
e riu, Leagaibh sìos an teampull so,
agus an tri làithibh cuiridh mise
suas e.
20 An sin thubhairt na h-Iudh-
aich, Sea bliadhna agus dà fhichead
bha 'n teampull so 'ga thogail, agus
an cuir thusa suas an tri làithibh e?
21 Ach labhair esan mu theampull
a chuirp.
22 Uime sin an uair bha e air éir-
igh o na marbhaibh, chuimhnich a
dheisciobuil gu'n dubhairt e so: agus
chreid iad an scriobtuir, agus am
focal a thubhairt Iosa.
23 A nis an uair a bha e an Ieru-
salem aig a' chàisg, air an *fhéisd* [l],
chreid mòran 'na ainm, an uair a
chunnaic iad na mìorbhuilean a
rinn e.
24 Ach cha d'earb Iosa e féin riu,
do bhrigh gu'm b'aithne dha na
h-uile daoine,
25 Agus nach robh feum aige
neach air bith a dheanamh fianuis
air duine: oir bha fhios aige ciod a
bha anns an duine.

CAIB. III.

*1 Tha Criosd a' teagasg do Nicode-
mus feum na h-ath-ghineamhuin.
14 Mu chreidimh 'na bhàs. 16 Mòr
ghràdh Dhé do'n domhan, &c.*

AGUS bha duine do na Phairis-
ich, d'am b'ainm Nicodemus,
a bha 'na uachdaran air na h-Iudh-
achaibh:
2 Thainig esan chum Iosa san
oidhche, agus thubhairt e *ris*, A
mhaighstir, tha fhios againn gur fear-
teagaisg thu a thainig o Dhia: oir
cha'n urradh duin' air bith na mìor-
bhuile so dheanamh a ta thusa a'
deanamh, mur bi Dia maille ris.
3 Fhreagair Iosa agus thubhairt e
ris, Gu deimhin deimhin a deirim
riut, mur beirear duine a rìs [m], nach
feud e rioghachd Dhé fhaicinn.
4 Thubhairt Nicodemus ris, Cionn-
us a dh'fheudas duine bhi air a
bhreith 'nuair a ta e aosda? am bheil
e comasach air dol a stigh an dara
uair do bhroinn a mhàthar, agus a
bhi air a bhreith?
5 Fhreagair Iosa, Gu deimhin
deimhin a deirim riut, mur bi duine
air a bhreith o uisge, agus o'n Spior-
ad, cha 'n urrainn e dol a steach do
rioghachd Dhé.
6 An ni sin a ta air a bhreith o'n
fheoil, is feoil e; agus an ni sin a ta
air a bhreith o'n Spiorad, is spiorad e.
7 Na gabh iongantas gu 'n dubh-
airt mi riut, Is éigin duibh bhi air
bhur breith a rìs.
8 Tha ghaoth a' séideadh far an
àill leatha, agus tha thu a' cluinntinn
a fuaim ach cha 'n'eil fhios agad cia
as a tha i teachd, no c' àit a tha i
dol: is ann mar sin a tha gach neach
a tha air a bhreith o'n Spiorad.
9 Fhreagair Nicodemus agus thubh-
airt e ris, Cionnus a dh'fheudas na
nithe so bhi?
10 Fhreagair Iosa agus thubhairt
e ris, Am bheil thusa a'd' fhear-teag-
aisg Israeil, agus nach aithne dhuit
na nithe so?
11 Gu deimhin deimhin a deirim
riut, gu bheil sinne a' labhairt an ni
a's fios duinn, agus a' toirt fianuis air
an ni sin a chunnaic sinn; agus cha
ghabh sibhse ar fianuis.
12 Ma dh'innis mi dhuibh nithe
talmhaidh, agus nach creid sibh,
cionnus a chreideas sibh ma dh'inns-
eas mi dhuibh nithe nèamhaidh?
13 Agus cha deachaidh aon neach
suas do nèamh, ach an ti a thainig a
nuas o nèamh, Mac an duine a ta air
nèamh.
14 Agus mar a thog Maois suas
an nathair san fhàsach, is ann mar
sin is éigin do Mhac an duine bhi air
a thogail suas:
15 Chum's ge b'e neach a chreid-
eas ann, nach sgriosar e [n], ach gu'm
bi a' bheatha mhaireannach aige.
16 Oir is ann mar sin a ghràdh-
aich Dia an saoghal, gu'n d'thug e
aon-ghin Mhic féin, chum's ge b'e
neach a chreideas ann, nach sgriosar
e, ach gu'm bi a' bheatha shiorruidh
aige.

[l] *an àm na féisde.* [m] *o'n àirde.* [n] *bi e caillte.*

17 Oir cha do chuir Dia a Mhac
do'n t-saoghal, chum gu'n dìteadh
e 'n saoghal, ach a chum gu'm biodh
an saoghal air a shaoradh trìdsan.
18 An ti a chreideas ann, cha
dìtear e: ach an ti nach creid, tha e
air a dhìteadh cheana, chionn nach
do chreid e an ainm aoin-ghin Mhic
Dhé.
19 Agus is e so an dìteadh, gu'n
d'thainig an solus do'n t-saoghal,
agus gu'n do ghràdhaich daoine an
dorchadas ni's mò na'n solus, a
chionn gu'n robh an gnìomharan
olc.
20 Oir gach neach a ta deanamh
uilc, tha e toirt fuath do'n t-solus,
agus cha 'n'eil e teachd chum an
t-soluis, air eagal gu'm biodh oibre
air an cronachadh.
21 Ach an ti a ni 'n fhìrinn, thig
e chum an t-soluis, chum's gu'm bi
oibre follaiseach, gur ann an Dia a
rinneadh iad.
22 An déigh sin thainig Iosa agus
a dheisciobuil do thìr Iudea, agus
dh'fhan e 'n sin maille riu, agus
bhaist e.
23 Agus bha Eoin mar an ceudna
a' baisteadh ann an Enon, làimh ri
Salim, do bhrigh gu'n robh mòran
uisgeachan an sin: agus thainig iad,
agus bhaisteadh iad.
24 Oir cha robh Eoin fathast air a
thilgeadh am priosun.
25 An sin dh'éirich ceist eadar
deisciobuil Eoin agus na h-Iudhaich,
mu thimchioll glanaidh.
26 Agus thainig iad chum Eoin,
agus thubhairt iad ris, A mhaighstir,
an ti a bha maille riut an taobh thall
do Iordan, d'an d'thug thu fianuis,
feuch, tha esan a' baisteadh, agus tha
na h-uile dhaoine a' teachd d'a ionn-
suidh.
27 Fhreagair Eoin agus thubhairt
e, Cha 'n'eil duine comasach air ni
sam bith a ghabhail, mur bi e air a
thoirt da o nèamh.
28 Tha sibhse féin a' toirt fianuis
dhomhsa, gu'n dubhairt mi, Cha mhi
Criosd, ach gu'n do chuireadh roimhe
mi.
29 An ti aig am bheil a' bhean
nuadh-phòsda, 'se 'm fear nuadh-
pòsda e: ach caraid an fhir nuadh-
phòsda, a ta 'na sheasamh agus ag
éisdeachd ris, tha e a' deanamh gaird-
eachais mhòir air son guth an fhir
nuadh-phòsda: uime sin tha mo
ghairdeachas so air a choimhlionadh.
30 Is éigin dasan fàs, ach dhomh-
sa bhi air mo lughdachadh.
31 An ti a thig a nuas, tha e os
ceann nan uile: an ti a tha o'n tal-
amh, tha e talmhaidh, agus labhraidh
e air mhodh talmhaidh: an ti a thig
o nèamh, tha e os ceann nan uile.
32 Agus an ni a chunnaic agus a
chual e, air sin tha e toirt fianuis;
agus cha 'n'eil aon duine a' gabhail
r'a fhianuis.
33 An ti a ghabh r'a fhianuis-san,
chuir e a sheula ris, gu bheil Dia
fìor.
34 Oir an ti a chuir Dia uaith, tha
e a' labhairt bhriathar Dhé: oir cha'n
ann a réir tomhais a tha Dia a' toirt
an Spioraid *da*.
35 Is toigh leis an Athair am
Mac, agus thug e na h-uile nithe 'na
làimh.
36 An ti a chreideas anns a Mhac,
tha bheatha mhaireannach aige: ach
an ti nach 'eil a' creidsinn anns a'
Mhac, cha'n fhaic e beatha; ach a ta
fearg Dhé a' gabhail còmhnuidh air.

CAIB. IV.

1 *Tha Criosd a' còmhradh ris a Bhan-samaritanaich, agus ga fhoillseachadh féin d'i.* 27 *Tha dheisciobuil a' gabhail iongantais.* 31 *Tha e cur an céill doibh cud féin air son glòire Dhé.* 39 *Tha mòran do na Samaritanaich a' creidsinn ann.* 43 *Tha e dol do Ghalile, &c.*

AIR an aobhar sin an uair a thuig
Iosa gu'n cuala na Phairisich
gu'n robh e a' deanamh agus a' baist-
eadh tuilleadh dheisciobul na Eoin,
2 (Ge nach do bhaist Iosa féin *iad*,
ach a dheisciobuil)
3 Dh'fhàg e Iudea, agus chaidh e
rìs do Ghalile.
4 Agus b'éigin da dol tre Shama-
ria.
5 An sin thainig e gu baile *a
bhuineadh* do Shamaria, d'an goirear
Sichar, fagus do'n fhearann a thug
Iacob d'a mhac Ioseph.
6 A nis bha tobar Iacoib an sin.

Uime sin air do Iosa bhi sgìth leis a thuras, shuidh e mar sin làimh ris an tobar: agus bha e mu thimchioll na seathadh uaire.

7 Thainig bean o Shamaria a tharruing uisge: a deir Iosa rithe, Thoir dhomhsa deoch.

8 Oir bha a dheisciobuil air dol do'n bhaile a cheannach bìdh.

9 An sin thubhairt a' bhean o Shamaria ris, Cionnus a ta thusa agus gur Iudhach thu, ag iarraidh deoch uamsa, a ta a'm' Bhan-samaritanaich? oir cha 'n'eil comunn aig na h-Iudhaich ris na Samaritanaich.

10 Fhreagair Iosa agus thubhairt e rithe, Nam b'aithne dhuit tiodhlacadh[o] Dhé, agus cò e a ta 'g ràdh riut, Thoir dhomh deoch, dh'iarradh tu airsan, agus bheireadh e uisge beo dhuit.

11 A deir a' bhean ris, A Thighearn, cha 'n'eil inneal tarruing agad, agus tha 'n tobar domhain: uime sin cia as a ta 'n t-uisge beo sin agad?

12 Am mò thusa na ar n-athair Iacob, a thug dhuinne an tobar *so*, agus a dh'òl as e féin, agus a chlann, agus a spréidh?

13 Fhreagair Iosa agus thubhairt e rithe, Ge b'e neach a dh'òlas do'n uisge so, bithidh tart[p] air a rìs:

14 Ach ge b'e neach a dh'òlas do'n uisge a bheir mise dha, cha bhi tart gu bràth air: ach an t-uisge a bheir mise dha, bithidh e 'na thobar uisge ann, a' sruthadh suas chum na beatha maireannaich.

15 A deir a' bhean ris, A Thighearn, thoir dhomhsa an t-uisge so, chum's nach bi tart orm, agus nach d'thig mi an so a tharruing.

16 A deir Iosa rithe, Imich, gairm t'fhear-*pòsda*, agus thig an so.

17 Fhreagair a' bhean agus thubhairt i, Cha 'n'eil fear agam. Thubhairt Iosa rithe, Is maith a thubhairt thu, Cha 'n'eil fear agam:

18 Oir bha cùigear fhear agad, agus esan a ta agad a nis, cha'n e t'fhear féin e: thubhairt thu so gu fìor.

19 A deir a' bhean ris, A Thighearn, tha mi faicinn gur fàidh thu.

20 Rinn ar n-aithriche aoradh san t-sliabh so; agus a deir sibhse, gur ann an Ierusalem a ta 'n t-ionad anns an còir aoradh a dheanamh.

21 A deir Iosa rithe, A bhean, creid mise, gu bheil an uair a' teachd, anns nach dean sibh aoradh do'n Athair aon chuid san t-sliabh so, no ann an Ierusalem.

22 Tha sibh a' deanamh aoraidh do'n nì nach aithne dhuibh: tha sinne a' deanamh aoraidh do'n nì a's aithne dhuinn: oir is ann o na h-Iudhachaibh a ta slàinte.

23 Ach a ta 'n uair a' teachd, agus a ta *i* nis ann, anns an dean am fìor luchd-aoraidh aoradh do'n Athair ann an spiorad agus ann am fìrinn: oir a ta an t-Athair ag iarraidh an leithide so do luchd aoraidh.

24 Is Spiorad Dia, agus is éigin d'a luchd-aoraidh, aoradh a dheanamh *dha* an spiorad agus am fìrinn.

25 A deir a' bhean ris, Tha fhios agam gu bheil am Mesias a' teachd, d'an goirear Criosd: 'nuair a thig esan, innsidh e na h-uile nithe dhuinn.

26 A deir Iosa rithe, Is mise *e*, a ta labhairt riut.

27 Agus air a so thainig a dheisciobuil, agus b'iongantach leo gu'n robh e labhairt ri mnaoi: ach cha dubhairt aon neach, C'od a tha thu 'g iarraidh? no c'ar son a tha thu labhairt rithe?

28 An sin dh'fhàg a' bhean a soitheach uisge, agus dh'fhalbh i do'n bhaile, agus a deir i ris na daoinibh,

29 Thigibh, faicibh duine a dh'innis dhomhsa na h-uile nithe a rinn mi riamh: an e so Criosd?

30 An sin chaidh iad a mach as a' bhaile, agus thainig iad d'a ionnsuidhsan.

31 San àm sin féin ghuidh a dheisciobuil air, ag ràdh, A mhaighstir, ith.

32 Ach thubhairt esan riu, Tha agamsa biadh r'a itheadh air nach 'eil fhios agaibhse.

33 Uime sin thubhairt na deisciobuil r'a chéile, An d'thug neach air bith *ni* d'a ionnsuidh r'a itheadh?

[o] *toirbheartas.* [p] *iota.*

34 Thubhairt Iosa riu, Is e mo
bhiadhsa toil an ti a chuir uaith mi
a dheanamh, agus obair a chrìoch-
nachadh.
35 Nach abair sibhse, A ta *ùine*
cheithir mìos ann fathast, agus *an sin*
thig am fogharadh ? feuch, a deirim
ribh, Togaibh suas bhur sùilean, agus
seallaibh air na h-achaibh ; oir a ta
iad a cheana geal chum an fhoghar-
aidh.
36 Agus an ti a bhuaineas tha e
faotainn tuarasdail, agus a' cruinn-
eachadh toraidh chum na beatha
maireannaich ; chum's gu'n dean an
ti a chuireas, agus an ti a bhuaineas,
gairdeachas maraon [r]
37 Agus an so tha 'n ràdh [s] ud fìor,
Gu bheil neach a' cur, agus neach eile
a' buain.
38 Chuir mise sibhse a bhuain an
ni sin nach do shaothraich sibh :
shaothraich daoin' eile, agus chaidh
sibhse steach 'nan saothair.
39 Agus chreid mòran do Sha-
maritanaich a' bhaile sin ann, air son
cainnte na mnà, a thug fianuis *ag
ràdh*, Dh'innis e dhomh na h-uile
nithe a rinn mi riamh.
40 Uime sin an uair a thainig na
Samaritanaich d'a ionnsuidh, ghuidh
iad air fantuinn maille riu : agus
dh'fhuirich e [illegible] sin dà latha.
41 Agus chreid mòran tuilleadh
air son fhocail fèin :
42 Agus thubhairt iad ris a'
mhnaoi, Tha sinn a' creidsinn, cha 'n
ann a so suas air son do chòmhraidh-
sa : oir chuala sinn fèin e, agus a ta
fhios againn gur e so da' rìreadh
Criosd, Slànuighear an t-saoghail.
43 Agus an déigh dà latha
dh'fhalbh e as sin, agus chaidh e do
Ghalile :
44 Oir thug Iosa féin fianuis, nach
'eil urram aig fàidh 'na thìr féin.
45 Uime sin an uair a thainig e do
Ghalile, ghabh na Galiléaich ris, air
dhoibh na nithe sin uile fhaicinn a
rinn e ann an Ierusalem air an fhéisd:
oir chaidh iadsan mar an ceudna
chum na féisde.
46 An sin thainig Iosa a rìs do
Chana Ghalile, far an d'rinn e fìon
do'n uisge. Agus bha duine cumh-
achdach [t] àraidh, aig an robh a mhac
gu tinn ann an Capernaum.
47 'Nuair a chual esan gu'n robh
Iosa air teachd a Iudea do Ghalile,
chaidh e d'a ionnsuidh, agus ghuidh
e air gu'n rachadh e sìos, agus gu'n
slànuicheadh e a mhac : oir bha e ri
h-uchd bàis.
48 An sin thubhairt Iosa ris, Mur
faic sibh comharan agus mìorbhuil-
ean, cha chreid sibh.
49 Thubhairt an duine cumhachd-
ach ris, A Thighearn, rach [u] sìos
mum faigh mo leanaban bàs.
50 Thubhairt Iosa ris, Imich ; tha
do mhac beo. Agus chreid an duine
am focal a labhair Iosa ris, agus
dh'imich e.
51 Agus am feadh a bha e fathast
a' dol sìos, choinnich a sheirbhisich e,
agus dh'innis iad *da*, ag ràdh, Tha
do mhac beo [a].
52 An sin dh'fheòraich e dhiubh
an uair anns an deachaidh e 'm feabh-
as : agus thubhairt iad ris, An dé air
an t-seachdamh uair dh'fhàg am
fiabhrus e.
53 An sin dh'aithnich an t-athair
gu'm *b'i* an uair sin féin, anns an
dubhairt Iosa ris, Tha do mhac beo ;
agus chreid e féin, agus a theaghlach
uile.
54 '*Se* so a rìs an dara mìorbhuil
a rinn Iosa, 'nuair a thainig e a Iu-
dea do Ghalile.

CAIB. V.

1 *Tha Iosa air latha na sàbaid a'
leigheas an duine a bha fuidh leòn
rè ochd bliadhna deug thar fhichead.*
10 *Tha na h-Iudhaich uime sin a'
connsachadh ris, agus 'ga gheur-
leanmhuinn air a 'shon, &c.*

NA dhéigh so bha féisd nan Iudh-
ach *ann*, agus chaidh Iosa
suas gu Hierusalem.
2 A nis a ta ann an Ierusalem
làimh ri *geatadh* [b] nan caorach loch-
an, d'an goirear sa' chainnt Eabh-
ruidhich, Betesda, aig am bheil cùig
tighean-fasgaidh [c].

[r] *cuideachd, le chéile.* [s] *an gnàth-fhocal.* [t] *mòr, rìoghail.*
[u] *theirig, falbh, gabh.* [a] *gu maith.* [b] *margadh.* [c] *sgàth-thighean.*

3 Annta sin bha 'nan luidhe mòr
bhuidheann do dhaoinibh euslan, dall,
bacach, seargta, a' feitheamh ri car-
uchadh an uisge.
4 Oir chaidh aingeal sìos an àm
àraidh san lochan, agus chuir e 'n
t-uisge tre chéile: uime sin an
ceud neach a rachadh sìos ann an
déigh cur tre chéile an uisge, rinn-
eadh slàn e a dh'aon tinneas a bhiodh
air.
5 Agus bha duine àraidh an sin,
a bha ochd bliadhna deug thar fhich-
ead ann an euslaint.
6 'N uair a chunnaic Iosa esan 'na
luidhe, agus fios aige gu'n robh e nis
ùine fhada *mar sin*, a deir e ris, Am
miann leat bhi air do dheanamh
slàn?
7 Fhreagair an duine euslan e, A
Thighearn, cha'n 'eil duin' agam, an
uair a chuirear an t-uisge tre a chéile,
a chuireas anns an lochan mi: ach
am feadh a tha mise teachd, tha neach
eile a' dol sìos romham.
8 A deir Iosa ris, Eirich, tog do
leaba, agus imich.
9 Agus air ball rinneadh an duine
slàn, agus thog e a leaba, agus dh'im-
ich e: agus bha 'n t-sàbaid ann air
an là sin.
10 Uime sin thubhairt na h-Iudh-
aich ris an ti a shlànuicheadh, Is i 'n
t-sàbaid a ta ann; cha 'n'eil e
dligheach duit do leaba iomchar.
11 Fhreagair e iad, An ti a rinn
slàn mi, thubhairt esan rium, Tog do
leaba agus imich?
12 An sin dh'fheòraich iad deth,
Cò an duine a thubhairt riut, Tog do
leaba agus imich?
13 Agus cha robh fhios aig an ti
a shlànuicheadh, cò e: oir chaidh Iosa
as a shealladh, air do mhòr shluagh
bhi anns an àit.
14 'Na dhéigh so fhuair Iosa e
anns an teampull, agus thubhairt e
ris, Feuch, rinneadh slàn thu: na
peacuich ni's mò, air eagal gu'n tach-
air ni's measa dhuit.
15 Dh'imich an duine, agus dh'inn-
is e do na h-Iudhachaibh gu'm b'e
Iosa a rinn slàn e.
16 Agus air a shon so rinn na
h-Iudhaich geur-leanmhuinn air Iosa,
agus dh'iarr iad a mharbhadh, do
bhrigh gu'n d'rinn e na nithe so air
an t-sàbaid.
17 Ach fhreagair Iosa iad, Tha
m'Athair ag oibreachadh gus a nis,
agus tha mise ag oibreachadh.
18 Uime sin bu mhòid a dh'iarr
na h-Iudhaich a mharbhadh, a chionn
nach e mhàin gu'n do bhris e 'n t-sà-
baid, ach gu'n dubhairt e mar an
ceudna gu'm b'e Dia Athairsan,
'ga dheanamh féin coimh-ionann ri
Dia.
19 Air an aobhar sin fhreagair
Iosa, *agus thubhairt e riu*, Gu deimh-
in deimhin a deirim ribh, nach 'eil
am Mac comasach air ni sam bith a
dheanamh uaith féin, ach an ni a chi
e 'n t-Athair a' deanamh: oir ge b'e
nithe a ni esan, na nithe sin féin ni
am Mac mar an ceudna.
20 Oir is ionmhuinn leis an Athair
am Mac, agus a ta e a' foillseachadh
dha nan uile nithe a tha e féin a'
deanamh: agus foillsichidh e dha
oibre a's mò na iad so, air chor as
gu'm bi iongantas oirbhse.
21 Oir mar a ta 'n t-Athair a'
dùsgadh, agus a' beothachadh nam
marbh, is amhuil sin a ta am Mac a'
beothachadh an dream a's àill leis.
22 Oir cha 'n'eil an t-Athair a'
toirt breth air duine sam bith; ach
thug e gach uile bhreitheanas do'n
Mhac:
23 Chum 's gu'n d'thugadh na
h-uile dhaoine urram do'n Mhac,
amhuil mar a ta iad a' toirt urraim
do'n Athair. An ti nach 'eil a' toirt
urraim do'n Mhac, cha 'n'eil e toirt
urraim do'n Athair a chuir uaith e.
24 Gu deimhin deimhin a deirim
ribh, An ti a dh'éisdeas ri m' fhocal-
sa, agus a ta creidsinn anns an ti a
chuir uaith mi, tha a' bheatha mhair-
eannach aige, agus cha d'thig e chum
dìtidh; ach chaidh e thairis o bhàs gu
beatha.
25 Gu deimhin deimhin a deirim
ribh, Gu bheil an uair a' teachd, agus
gu bheil i nis ann, anns an cluinn na
mairbh guth Mhic Dhé: agus an
dream a chluinneas, bithidh iad beo.
26 Oir mar a ta aig an Athair
beatha ann féin, is amhuil sin a thug
e do'n Mhac beatha a bhi aig ann
féin;

27 Agus thug e mar an ceudna
dha ùghdarras chum breth a thabh-
airt, do bhrigh gur e Mac an duine[d].
28 Na gabhaibh iongantas deth so:
oir a ta 'n uair a' teachd, anns an
cluinn iadsan uile a ta sna h-uaighibh
a ghuthsan :
29 Agus théid iad a mach, iadsan
a rinn maith, chum aiseirigh na
beatha ; agus iadsan a rinn olc, chum
aiseirigh an damnaidh.
30 Cha 'n'eil mise comasach air ni
sam bith a dheanamh uam féin : mar
a chluinneam, bheiream breth : agus
a ta mo bhreitheanas ceart ; do bhrigh
nach 'eil mi 'g iarraidh mo thoile féin,
ach toil an Athar a chuir uaith mi.
31 Ma bheir mise fianuis a m'
thimchioll féin, cha 'n'eil m' fhianuis
fior[e].
32 Tha neach eile a' toirt fianuis
a m' thimchioll, agus a ta fhios agam
gur fìor an fhianuis a tha e deanamh
mu m' thimchioll.
33 Chuir sibhse chum Eoin, agus
thug e fianuis do'n fhìrinn.
34 Ach cha 'n'eil mise a' gabhail
fianuis o dhuine : ach a deirim na
nithe so, chum gu 'm bi sibhse air
bhur tearnadh.
35 B'esan an lòchran lasta[f] agus
dealrach : agus bha sibhse toileach
car tamuill gairdeachas a dheanamh
'na sholus.
36 Ach a ta agamsa fianuis a's mò
na *fianuis* Eoin : oir na h-oibre a
thug an t-Athair dhomhsa chum gu'n
crìochnaichinn iad, tha na h-oibre sin
féin a tha mise a' deanamh, a' toirt
fianuis a m' thimchioll, gu'n do chuir
an t-Athair uaith mi.
37 Agus an t-Athair féin a chuir
uaith mi, thug e fianuis a m' thim-
chioll. Cha chuala sibh riamh a
ghuth, ni mò a chunnaic sibh a chos-
las.
38 Agus cha 'n'eil fhocalsan ag-
aibh a' gabhail còmhnuidh annaibh :
oir an ti sin a chuir esan uaith, cha
'n'eil sibh 'ga chreidsinn.
39 Rannsaichibh[g] na sgriobtuir-
ean, oir a ta sibh a' saoilsinn gu bheil
a' bheatha mhaireannach agaibh annt-
asan, agus is iad sin a ta toirt fianuis
a m' thimchiollsa.
40 Gidheadh cha 'n àill libh teachd
a m' ionnsuidhse, chum gu'm faigh-
eadh sibh beatha.
41 Cha 'n'eil mise a' gabhail urr-
aim[h] o dhaoinibh.
42 Ach is aithne dhomh sibhse,
nach 'eil gràdh Dhé agaibh annaibh.
43 Thainig mise an ainm m' Athar,
agus cha 'n'eil sibh a' gabhail rium :
ma thig neach eile 'na ainm féin,
gabhaidh sibh risean.
44 Cionnus a dh'fheudas sibh
creidsinn, a ta gabhail urraim o chéile,
agus nach 'eil ag iarraidh an urraim
a thig o Dhia a mhàin ?
45 Na saoilibh gu'n dean mise
bhur casaid ris an Athair : tha aon a
tha deanamh casaid oirbh, Maois,
anns am bheil sibh a' cur bhur dòch-
ais[i].
46 Oir nan creideadh sibh Maois,
chreideadh sibh mise : oir sgriobh
esan a m' thimchioll.
47 Ach mur creid sibh a sgriobh-
adhsan, cionnus a chreideas sibh mo
bhriathrasa ?

CAIB. VI.

1 *Tha Criosd a' biadhadh cùig mìle
fear le cùig builinnibh arain agus
dà iasg : 15 Air an aobhar sin
b'àill leis an t-sluagh esan a dhean-
amh 'na righ : 16 Ach air dhasan
a sgaradh féin uatha, chaidh e suas
gu beinn, agus dh'imich e air a'
chuan dh'ionnsuidh a dheisciobul,
&c.*

'NA dhéigh sin chaidh Iosa thar
muir[l] Ghalile, no Thiberiais.
2 Agus lean sluagh mòr e, do bhrigh
gu'm fac iad a mhìorbhuilean a rinn
e air an dream a bha euslan.
3 Agus chaidh Iosa suas air beinn,
agus shuidh e an sin maille r'a dheis-
ciobluibh.
4 Agus bha chàisg, féisd nan Iudh-
ach, am fagus.
5 An sin an uair a thog Iosa suas
a shùilean, agus a chunnaic e gu'n
d'thainig buidheann mhòr shluaigh
d'a ionnsuidh, a deir e ri Philip, Cia

[d] *gur mac duine e.* [e] *iomchuidh.* [f] *lasrach.* [g] *Tha sibh a' rannsachadh.*
[h] *glòire.* [i] *as am bheil sibh ag earbsadh.* [l] *fairge.*

'n t-àit as an ceannaich sinn aran chum's gu'n ith iad so?

6 (Ach thubhairt e so 'ga dhearbhadhsan; oir bha fhios aige féin ciod a dheanadh e.)

7 Fhreagair Philip e, Cha leoir dhoibh luach dhà cheud peghinn a dh'aran, chum's gu'n gabhadh[c] gach aon diubh beagan.

8 Thubhairt aon d'a dheisciobluibh, Aindreas, bràthair Shimoin Pheadair, ris,

9 Tha òganach an so, aig am bheil cùig builinnean eòrna, agus dà iasg bheaga: ach ciod iad so am measg na h-uiread?

10 Agus thubhairt Iosa, Thugaibh air na daoinibh suidhe sìos. A nis bha mòran feoir anns an àit. Air an aobhar sin shuidh na daoine sìos, an àireamh timchioll chùig mìle.

11 Agus ghlac Iosa na builinnean, agus air breith buidheachais da, roinn e [air na deisciobluibh *iad*, agus na deisciobuil] orra-san a shuidh: agus mar an ceudna do na h-iasgaibh beaga, mheud 's a b'àill leo.

12 'N uair a shàsuicheadh iad, thubhairt e r'a dheisciobluibh, Cruinnichibh am biadh briste ta thuilleadh ann, chum's nach caillear a bheag.

13 Air an aobhar sin chruinnich iad *e* r'a chéile, agus lìon iad dà chliabh dheug do sbruileach nan cùig builinn eòrna, a bha dh'fhuigheall aig a' mhuinntir a dh'ith.

14 An sin an uair a chunnaic na daoine sin am mìorbhuil a rinn Iosa, thubhairt iad, Gu fìrinneach is e so am fàidh a bha gu teachd chum an t-saoghail.

15 Uime sin an uair a thuig Iosa gu'n robh iad air tì[m] teachd agus breith air le làimh làidir, chum's gu'n deanadh iad rìgh dheth, dh'imich e rìs do'n bheinn 'na aonar.

16 Agus an uair a thainig am feasgar, chaidh a dheisciobuil sìos chum na mara.

17 Agus air dol an luing dhoibh, chaidh iad thar a' mhuir gu Capernaum: agus bha 'n dorchadas a nis ann, agus cha robh Iosa air teachd d'an ionnsuidh.

18 Agus ag séideadh do ghaoith mhòir, dh' éirich a' mhuir.

19 Uime sin an uair a rinn iad iomramh timchioll cùig no deich thar fhichead do stàdibh, chunnaic iad Iosa ag imeachd air a' mhuir, agus a' druideadh ris an luing, agus ghabh iad eagal.

20 Ach thubhairt esan riu, Is mise ta ann, na biodh eagal oirbh.

21 Uime sin ghabh iad gu toileach a steach do'n luing e: agus air ball ràinig an long an tìr gus an robh iad a' dol.

22 Air an là 'na dhéigh sin, an uair a chunnaic an sluagh a sheas air taobh eile na mara, nach robh long[n] eile an sin, ach an *long* sin anns an deachaidh a dheisciobuil a steach, agus nach deachaidh Iosa san luing maille r'a dheisciobluibh, ach *gu'n* d'fhalbh a dheisciobuil 'nan aonar;

23 (Gidheadh thainig longa beaga eile o Thiberias, làimh ris an àit san d'ith iad an t-aran, an déigh do'n Tighearn buidheachas a thoirt)

24 Uime sin an uair a chunnaic an sluagh nach robh Iosa an sin, no a dheisciobuil, chaidh iad féin mar an ceudna ann an longaibh, agus thainig iad gu Capernaum, ag iarraidh Iosa.

25 Agus air dhoibh fhaotainn air an taobh thall do'n mhuir, thubhairt iad ris, A mhaighstir, c'uin a thainig thu 'n so?

26 Fhreagair Iosa iad agus thubhairt e, Gu deimhin a deirim ribh, A ta sibh ga m' iarraidh, cha 'n ann a chionn gu'm faca sibh na mìorbhuilean, ach a chionn gu'n d'ith sibh do na builinnibh, agus gu'n do shàsuicheadh sibh.

27 Deanaibh saothair cha 'n ann air son a' bhìdh a theirgeas, ach air son a' bhìdh a mhaireas chum na beatha sìorruidh, a bheir Mac an duine dhuibh: oir esan sheulaich[o] Dia an t-Athair.

28 An sin thubhairt iad ris, Ciod a ni sinn, chum as gu'n oibrich sinn oibre Dhé?

29 Fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Is i so obair Dhé, gu'n creid sibh anns an ti a chuir e uaith.

[m] *rùn orra.* [n] *bàrc, bàt.* [o] *chomharaich, shonraich.*

30 Uime sin thubhairt iad ris, Ciod an comhar a ni thusa ma ta, chum gu'm faic sinn, agus gu'n creid sinn thu? ciod an obair a ni thu?

31 Dh'ith ar n-aithriche mana san fhàsach; a réir mar a ta e scrìobhta, Thug e dhoibh aran o nèamh r'a itheadh.

32 An sin thubhairt Iosa riu, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, nach d'thug Maois dhuibh an t-aran o nèamh; ach a ta m'Athairse toirt dhuibh an arain fhìor o nèamh.

33 Oir is e sin aran Dhé a ta teachd a nuas o nèamh, agus a ta tabhairt beatha do'n t-saoghal.

34 An sin thubhairt iad ris, A Thighearn, tabhair dhuinne an t-aran so 'n còmhnuidh.

35 Agus thubhairt Iosa riu, Is mise aran na beatha: an ti a thig a m' ionnsuidhse, cha bhi ocras gu bràth air; agus an ti a chreideas annamsa, cha bhi tart gu bràth air.

36 Ach mar a thubhairt mi ribh, ge do chunnaic sibh mi, cha 'n'eil sibh a' creidsinn.

37 Gach ni a bheir an t-Athair dhomhsa, thig e a m' ionnsuidh; agus an ti a thig a m' ionnsuidh, cha tilg mi air chor sam bith a mach *e*.

38 Oir thainig mi nuas o nèamh, cha 'n ann chum gu'n deanainn mo thoil féin, ach toil an ti a chuir uaith mi.

39 Agus is i so toil an Athar a chuir uaith mi, nach caillinn a bheag sam bith do'n uile a thug e dhomh, ach gu'n togainn suas e ris air an là dheireannach.

40 Agus is i so toil an ti a chuir uaith mi, gu'm biodh a' bheatha mhaireannach aig gach neach a chi am Mac, agus a chreideas ann: agus togaidh mise suas e air an là dheireannach.

41 An sin rinn na h-Iudhaich gearan uime, a chionn gu'n dubhairt e, Is mise an t-aran a thainig a nuas o nèamh.

42 Agus thubhairt iad, Nach e so Iosa mac Ioseiph, neach aig an aithne dhuinn athair agus a mhàthair? cionnus ma seadh a deir e, Thainig mi nuas o nèamh?

43 Air an aobhar sin fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Na deanaibh gearan 'nar measg féin.

44 Cha'n urradh neach air bith teachd a m' ionnsuidhse, mur tarruing an t-Athair a chuir uaith mise e: agus togaidh mise suas e air an là dheireannach.

45 Tha e scrìobhta sna fàidhibh, Agus bithidh iad uile air an teagasg o Dhia. Gach[p] neach a chuala, agus a dh'fhòghluim o'n Athair, thig e m' ionnsuidhse.

46 Cha 'n e gu'm faca neach sam bith an t-Athair, ach an ti a ta o Dhia; chunnaic esan an t-Athair.

47 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, An ti a ta creidsinn annamsa, tha bheatha mhaireannach aige.

48 Is mise aran na beatha.

49 Dh'ith bhur n-aithriche mana san fhàsach, agus fhuair iad bàs.

50 Is e so an t-aran a tha teachd a nuas o nèamh, chum as gun ith neach dheth, agus nach faigh e bàs.

51 Is mise an t-aran beo, a thainig a nuas o nèamh: ma dh'itheas neach air bith do'n aran so, bithidh e beo gu siorruidh: agus an t-aran a bheir mise uam, is e m'fheoil e, a bheir mi air son beatha an t-saoghail.

52 Air an aobhar sin bha connsachadh[r] aig na h-Iudhaich r'a chéile, ag ràdh, Cionnus a dh'fheudas an duine so fheoil a thoirt duinn r'a itheadh?

53 An sin thubhairt Iosa riu, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, mur ith sibh feoil Mhic an duine, agus mur òl sibh fhuil, cha 'n'eil beatha agaibh annaibh.

54 Esan a dh'itheas m' fheoilse, agus a dh'òlas m' fhuilse, a ta a' bheatha shiorruidh aige, agus togaidh mise suas e air an là dheireannach.

55 Oir is biadh gu fìrinneach m' fheoil, agus is deoch gu fìrinneach m' fhuil.

56 Esan a dh'itheas m' fheoilse, agus a dh'òlas m' fhuilse, tha e gabhail còmhnuidh annamsa, agus mise annsan.

p [*Uime sin*] *gach.* r *deashoireachd, tagradh.*

57 Mar a ta'n t-Athair beo a chuir uaith mise[s], agus ataimse beo tre[t] 'n Athair; is amhuil sin esan a dh'itheas mise, bithidh e mar an ceudna beo triomsa[u].

58 Is e so an t-aran sin a thainig a nuas o nèamh; cha 'n e mar a dh'ith bhur n-aithriche mana, agus fhuair iad bàs: esan a dh'itheas an t-aran so, bithidh e beo am feasd.

59 Thubhairt e na nithe so anns an t-sionagog, an uair a bha e a' teagasg an Capernaum.

60 Uime sin air cluinntinn *so* do mhòran d'a dheisciobluibh, thubhairt iad, Is cruaidh a' chainnt so, cò a dh'fheudas éisdeachd rithe ?

61 'N uair a thuig Iosa ann féin gu'n robh a dheisciobuil ri gearan uime so, thubhairt e riu, Am bheil so a' toirt oilbheim dhuibh ?

62 Agus *ciod* nam faiceadh sibh Mac an duine a' dol suas do'n àit anns an robh e roimhe ?

63 'S e 'n Spiorad a bheothaicheas, cha 'n 'eil tairbhe air bith san fheoil: na briathran a tha mise a' labhairt ribh, is spiorad agus is beatha *iad*.

64 Ach a ta cuid dibhse nach 'eil a' creidsinn. (Oir b'aithne do Iosa o thùs, cò iad nach robh a' creidsinn, agus cò an ti a bhrathadh e.)

65 Agus thubhairt e, Air an aobhar sin thubhairt mi ribh, nach urradh neach air bith teachd a m' ionnsuidh, mur bi e air a thoirt da o m' Athair.

66 O'n *àm* sin chaidh mòran d'a dheisciobluibh air an ais, agus cha d'imich iad ni's mò maille ris.

67 An sin thubhairt Iosa ris an dà fhear dheug, An àill libhse falbh cuideachd.

68 An sin fhreagair Simon Peadar e, A Thighearn, cia dh'ionnsuidh an d'théid sinn ? agadsa tha briathra na beatha maireannaich.

69 Agus a ta sinne a' creidsinn, agus a ta fhios againn gur tusa Criosd[a] Mac an Dé bheo.

70 Fhreagair Iosa iad, Nach do thagh mise sibhse dà fhear dheug, agus a ta fear agaibh 'na dhiabhol ?

71 Ach labhair e mu Iudas Iscariot, *mac* Shimoin: oir is e so an ti a bha gu esan a bhrath, air dha bhi 'na aon do'n dà fhear dheug.

CAIB. VII.

1 *Tha Iosa a' cronachadh àrd inntinn agus dànadais a chairdean,* 10 *a' dol suas o Ghalile gu féisd nam pàilliun,* 14 *a' teagasg anns an teampull.* 40 *Iomadh gnè bharail m'a thimchioll am measg an t-sluaigh, &c.*

AGUS an déigh nan nithe sin, bha Iosa ag imeachd mu'n cuairt ann an Galile: oir cha b'àill leis a bhi 'g imeachd[b] ann an Iudea, a chionn gu'n robh na h-Iudhaich ag iarraidh a mharbhadh.

2 Agus bha féisd nan Iudhach, *eadhon* féisd nam pailliun, am fagus.

3 Uime sin thubhairt a bhràithre ris, Imich as so agus rach[c] do Iudea, chum as gu faic do dheisciobuil mar an ceudna t' oibre a tha thu a' deanamh.

4 Oir cha dean neach air bith *son* ni am folach, a dh'iarras e féin a bhi am follus[d]: ma ta thu a' deanamh nan nithe so, nochd thu féin do'n t-saoghal.

5 Oir cha do chreid a bhràithre féin ann.

6 An sin thubhairt Iosa riu, Cha d'thainig m' àmsa fathast; ach a ta bhur n-àmsa ghnàth deas.

7 Cha 'n'eil e 'n comas do'n t-saoghal sibhse fhuathachadh; ach fuathaichidh e mise, do bhrigh gu bheil mi toirt fianuis m'a thimchioll gu bheil oibre olc.

8 Rachaibhse suas chum na féisde so: cha d'théid mise suas fathast chum na féisde so, do bhrigh nach 'eil m'àm fathast air a choimhlionadh.

9 'Nuair thubhairt e na nithe so riu, dh'fhan e an Galile.

10 Ach an uair a chaidh a bhràithre suas, an sin chaidh esan suas mar an ceudna chum na féisde, cha 'n ann os àird, ach mar gu b'ann os iosal.

[s] *Mar a chuir an t-Athair beo uaith mise.* [t] *troimh.* [u] *tromham.*
[a] *an Criosd, am Mesias.* [b] *comhnuidh a ghabhail.* [c] *theirig.*
[d] *bhi iomraideach.*

11 An sin dh'iarr na h-Iudhaich e air an fhèisd, agus thubhairt iad, C'àit am bheil e?

12 Agus bha borbhan[e] mòr am measg an t-sluaigh m'a thimchioll: oir thubhairt cuid, Is duine maith e: ach thubhairt cuid eile, Ni h-eadh; ach a ta e mealladh an t-sluaigh.

13 Gidheadh cha do labhair neach sam bith gu follaiseach uime, air eagal nan Iudhach.

14 A nis mu mheadhon na féisde, chaidh Iosa suas do'n teampull, agus theagaisg e.

15 Agus ghabh na h-Iudhaich iongantas, ag ràdh, Cionnus is aithne do'n duine so litrichean, agus nach d'fhòghluim e.

16 Fhreagair Iosa iad, agus thubhairt e, Cha leam féin mo theagasg, ach leisean a chuir uaith mi.

17 Ma's àill le neach sam bith a thoilsan a dheanamh, bithidh fios aige mu'n teagasg, an ann o Dhia a ta e, no 'm bheil mise a labhairt uam féin.

18 An ti a labhras uaith féin, tha e 'g iarraidh a ghlòire féin: ach ge b'e dh'iarras glòir an ti a chuir uaith e, tha esan fìrinneach, agus cha 'n 'eil eucoir[f] air bith ann.

19 Nach d'thug Maois an lagh dhuibh, agus *gidheadh* cha 'n'eil aon neach agaibh a' coimhlionadh an lagha? C'ar son a ta sibh ag iarraidh mise a mharbhadh?

20 Fhreagair an sluagh agus thubhairt iad, Tha deamhan agad: cò tha 'g iarraidh do mharbhadh?

21 Fhreagair Iosa agus thubhairt e riu, Rinn mise aon obair, agus a ta iongantas oirbh uile air an aobhar sin.

22 Thug Maois dhuibh an timchioll-ghearradh, (cha'n e gur ann o Mhaois a ta e, ach o na h-aithrichibh) agus timchioll-ghearraidh sibhse duine air an t-sàbaid.

23 Ma tha duine air air an t-sàbaid a' gabhail timchioll-ghearraidh, chum's nach bi lagh Mhaois air a bhriseadh; am bheil fearg agaibh riumsa, a chionn gu'n d'rinn mi duine uile slàn air an t-sàbaid?

24 Na tugaibh breth a réir coslais, ach thugaibh breth cheart.

25 An sin thubhairt cuid do mhuinntir Ierusalem, Nach e so esan a tha iad ag iarraidh a mharbhadh?

26 Agus feuch, tha e labhairt os àird, agus cha 'n'eil iad ag ràdh ni sam bith ris: am bheil dearbh fhios aig na h-uachdarain gur e so da rìreadh Criosd?

27 Gidheadh is aithne dhuinn an duine so cia as da: ach an uair a thig Criosd, cha 'n aithne do neach air bith cia as da.

28 An sin ghlaodh Iosa san teampull, agus e a' teagasg, ag ràdh, Is aithne[g] dhuibh araon mise, agus cia as domh: agus cha d'thainig mi uam féin, ach a ta esan fìor a chuir uaith mi, air nach 'eil eòlas agaibhse.

29 Ach a ta eòlas agams' air, oir is ann uaith a ta mi, agus chuir esan uaith mi.

30 An sin dh'iarr iad a ghlacadh: ach cha do chuir neach air bith làmh ann, a chionn nach robh uairsan fathast air teachd.

31 Agus chreid mòran do'n t-sluagh air, agus thubhairt iad, 'Nuair a thig Criosd, an dean e ni's mò da mhìorbhuilibh na iad sin a rinn an duine so?

32 Chuala na Phairisich gu'n robh an sluagh a' borbhanaich nan nithe so m'a thimchioll: agus chuir na Phairisich agus na h-àrd shagairt maoir g'a ghlacadh.

33 An sin thubhairt Iosa[h], Fathast tamull beag tha mise maille ribh, agus *an sin* a ta mi dol chum an ti a chuir uaith mi.

34 Iarraidh sibh mi, agus cha'n fhaigh sibh *mi*: agus do'n àit am bi mi, cha'n urradh sibhse teachd.

35 An sin thubhairt na h-Iudhaich eatorra féin, C'àit an d'théid am fear so, nach faigh sinn e? an d'théid e chum na muinntir a ta air an sgapadh am measg nan Greugach, agus an teagaisg e na Greugaich?

36 Ciod i a' chainnt so a thubhairt e, Iarraidh sibh mi, agus cha'n fhaigh sibh *mi*: agus do'n àit am bheil mise, cha'n urradh sibhse teachd?

37 Air an là dheireannach, *là* mòr sin na féisde, sheas Iosa agus ghlaodh

[e] *cogarsaich.* [f] *ealg.* [g] *An aithne?* [h] *thubhairt Iosa riu.*

e, ag ràdh, Ma tha tart air neach sam
bith, thigeadh e m'ionnsuidhse, agus
òladh e.
38 An ti a chreideas annamsa, mar
a deir an scriobtuir, sruthaidh as a
bhroinn i aimhnichean do uisge beo.
39 (Ach labhair e so mu 'n Spior-
ad, a bha iadsan a chreideadh ann-
san gu fhaghail: oir cha robh an
Spiorad l fathast *air a thabhairt*, do
bhrigh nach robh Iosa fathast air a
ghlòrachadh.)
40 Uime sin an uair a chuala mòr-
an do'n t-sluagh a' chiannt so, thubh-
airt iad, Gu firinneach is e so am
fàidh.
41 Thubhairt cuid eile, 'S e so
Criosd. Ach thubhairt dream eile,
An ann o Ghalile a thig Criosd ?
42 Nach dubhairt an scriobtuir,
Gu'n d'thig Criosd do shìol Dhaibh-
idh, agus a Betlehem, am baile an
robh Daibhidh ?
43 Air an aobhar sin dh'éirich
eas-aonachd m am measg an t-sluaigh
air a shonsan.
44 Agus b'àill le cuid diubh a
ghlacadh ; ach cha do chuir duin'
air bith làmh ann.
45 An sin thainig na maoir chum
nan àrd shagart agus nam Phairis-
each ; agus thubhairt iadsan riu, C'ar
son nach d'thug sibh libh e ?
46 Fhreagair na maoir, Cha do
labhair duine riamh mar an duine
so.
47 An sin fhreagair na Phairisich
iad, Am bheil sibhse mar an ceudna
air bhur mealladh ?
48 An do chreid aon air bith do
na h-uachdarain ann, no do na Phair-
isich ?
49 Ach an sluagh so aig nach 'eil
eòlas an lagha, tha iad malluichte.
50 A deir Nicodemus riu, (esan a
thainig d'a ionnsuidh san oidhche, air
dha bhi 'na aon diubh,)
51 Am bheil ar laghne toirt breth
air duine sam bith gus an cluinn e
uaith féin an toiseach, agus *gus* am
bi fhios aige ciod a tha e a' dean-
amh ?
52 Fhreagair iadsan agus thubh-
airt iad ris, Am bheil thusa mar an
ceudna o Ghalile ? Rannsaich, agus
faic : oir a Galile cha d'*éirich* fàidh n.
53 Agus dh'imich gach aon d'a
thigh féin.

CAIB. VIII.

1 *Tha Criosd a' toirt na mnà a ghlac-
adh an adhaltrannas as saor : 12
a' searmonachadh gur e féin solus
an t-saoghail, agus a' dhearbhadh
gu bheil a theagasg ceart ; &c.*

ACH chaidh Iosa chum sléibh
nan crann-ola :
2 Agus gu moch air mhaduinn
thainig e rìs do'n teampull, agus
thainig an sluagh uile d'a ionnsuidh ;
agus air suidhe dha, theagaisg e iad.
3 Agus thug na scrìobhuichean
agus na Phairisich bean d'a ionn-
suidh a ghlacadh an adhaltrannas ;
agus air dhoibh a cur anns a' mheadh-
on,
4 A deir iad ris, A mhaighstir,
ghlacadh a' bhean so anns a' ghnìomh
féin, a' deanamh adhaltrannais.
5 A nis dh'àithn Maois dhuinn
san lagh, an leithide so a chlachadh :
ciod ma seadh a deir thusa ?
6 Thubhairt iad so 'ga dhearbh-
adh o, chum gu'm biodh aca cùis-
chasaid 'na aghaidh. Ach chrom
Iosa sìos, agus scrìobh e le mheur air
an làr, (mar nach biodh e 'gan cluinn-
tinn.)
7 Mar sin air dhoibh buanachadh
a' feòraich dheth, thog se e féin suas
agus thubhairt e riu, An neach a ta
gun pheacadh agaibhse, tilgeadh e
cheud chlach oirre.
8 Agus chrom e sìos a rìs, agus
scrìobh e air an làr.
9 Agus an uair a chual iadsan *so*,
(air dhoibh bhi air an agairt le'n
coguis p féin) chaidh iad a mach an
déigh a chéile, a' tòiseachadh aig an
dream bu shine, gus an dream mu
dheireadh : agus dh'fhàgadh 'na aon-
ar Iosa, agus a' bhean 'na seasamh
sa' mheadhon.
10 Agus air éirigh suas do Iosa,

*i a chom, a chliabh. l Spiorad naomh. m roinn, connsachadh.
n Rannsaich agus faic nach éirich fàidh a Galile.
o 'ga fheuchainn, 'ga bhuaireadh. p coimh-fhios, coinsiens.*

'nuair nach fac e aon air bith ach a'
bhean, thubhairt e rithe. A bhean,
c'àit am bheil iad sud do luchd-cas-
aid ? an do dhìt duin' air bith thu ?
11 Thubhairt ise, Cha do dhìt aon
duine, a Thighearn. Agus thubhairt
Iosa rithe, Cha mhò a tha mise ga d'
dhìteadh : imich romhad, agus na
peacaich ni's mò.
12 An sin labhair Iosa riu a rìs,
ag ràdh, Is mise solus an t-saoghail :
an ti a leanas mise, cha siubhail e an
dorchadas, ach bithidh solus na beatha
aige.
13 Uime sin thubhairt na Phairis-
ich ris, Tha thu toirt fianuis a d'
thimchioll féin ; cha 'n'eil t-fhianuis
fìor.
14 Fhreagair Iosa, agus thubhairt
e riu, Ge do tha mi toirt fianuis a m'
thimchioll féin, gidheadh a ta m'
fhianuis fìor : oir a ta fhios agam cia
as a thainig mi, agus c'àit am bheil
mi dol ; ach cha 'n'eil fhios agaibhse
cia as a thainig mi, no c'àit am bheil
mi dol.
15 Tha sibhs' a' toirt breth a réir
na feòla, cha 'n'eil mise a' toirt breth
air aon duine.
16 Agus ma bheir mise breth, tha
mo bhreth fìrinneach : oir cha 'n'eil
mi m'aonar, ach mise agus an t-Ath-
air a chuir uaith mi.
17 Agus a ta e scrìobhta ann bhur
lagh féin, gu bheil fianuis dithis
dhaoine fìor.
18 Is aon mise a ta deanamh fian-
uis a m' thimchioll féin, agus a ta 'n
t-Athair a chuir uaith mi, a' dean-
amh fianuis a m' thimchioll.
19 An sin thubhairt iad ris, C'àit
am bheil t-Athair ? Fhreagair Iosa,
Cha 'n aithne dhuibhs' aon chuid
mise no m' Athair : nam biodh eòlas
agaibh ormsa, bhiodh eòlas agaibh air
m'Athair mar an ceudna.
20 Labhair Iosa na briathra so an
tigh-coimhead an ionmhais, ag teag-
asg dha san teampull : agus cha do
chuir duin' air bith làmh ann, oir cha
robh uair fathast air teachd.
21 An sin thubhairt Iosa riu a rìs,
Tha mise a' falbh, agus iarraidh sibh
mi, agus bàsaichidh sibh ann bhur
peacadh : cha 'n urradh sibhse teachd
do'n àit am bheil mise a' dol.
22 An sin thubhairt na h-Iudh-
aich, Am marbh se e féin ? do bhrigh
gu bheil e 'g ràdh, Far am bheil mis'
a' dol, cha 'n urradh sibhse teachd.
23 Agus thubhairt e riu, Tha sibh-
se o shìos, tha mise o shuas : tha sibh-
se do'n t-saoghal so, cha 'n'eil mise
do'n t-saoghal so.
24 Uime sin thubhairt mi ribh,
Gu'm bàsaich sibh ann bhur peacaibh :
oir mur creid sibh gur mise e, gheibh
sibh bàs ann bhur peacaibh.
25 An sin thubhairt iad ris, Cò
thusa ? Agus thubhairt Iosa riu, *An
neach* sin féin a thubhairt mi ribh o
thùs.
26 Tha mòran agam ri ràdh, agus
r'a bhreithneachadh m'ar timchiollsa:
ach a ta 'n ti a chuir uaith mi fìrinn-
each ; agus a ta mise a' labhairt ris
an t-saoghal nan nithe a chuala mi
uaithsan.
27 Cha do thuig iad gu'm b'ann
mu thimchioll an Athar a labhair e
riu.
28 An sin thubhairt Iosa riu,
'Nuair a thogas sibh suas Mac an
duine, an sin bithidh fios agaibh gur
mise e[r], agus nach 'eil mi deanamh
ni sam bith uam féin ; ach mar a
theagaisg m' Athair mi, gu bheil mi
labhairt nan nithe so.
29 Agus tha 'n ti a chuir uaith mi
maille rium : cha d'fhàg an t-Athair
a'm' aonar mi, do bhrigh gu bheil mi
deanamh a ghnàth nan nithe sin a's
taitneach leis.
30 An uair a bha e labhairt nan
nithe so, chreid mòran ann.
31 An sin thubhairt Iosa ris na
h-Iudhachaibh a chreid ann, Ma
bhuanaicheas sibh ann am fhocalsa,
bithidh sibh da rìreadh 'nar deisciob-
uil agam ;
32 Agus bithidh eòlas agaibh air
an fhìrinn, agus ni'n fhìrinn saor
sibh.
33 Fhreagair iad e, Is sinne sliochd
Abrahaim, agus cha robh sinn riamh
fuidh dhaorsa aig duine sam bith :
cionnus a deir thusa, Bithidh sibh
saor ?

[r] *bithidh fios agaibh cò mise.*

34 Fhreagair Iosa iad, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, ge b'e ni peacadh, is seirbhiseach do'n pheacadh e.

35 Agus cha'n fhan an seirbhiseach san tigh gu bràth: *ach* fanaidh am mac gu bràth.

36e Uime sin ma ni am Mac saor sibh, bithidh sibh saor da rìreadh.

37 Tha fhios agam gur sibh sliochd Abrahaim; ach a ta sibh ag iarraidh mis' a mharbhadh, do bhrigh nach 'eil àit aig m' fhocal annaibh.

38 Tha mise a' labhairt an ni sin a chunnaic mi aig m'Athair: agus tha sibhse a' deanamh an ni a chunnaic sibh aig bhur n-athair féin.

39 Fhreagair iadsan agus thubhairt iad ris, 'Se Abraham ar n-athairne. A deir Iosa riu, Nam bu chlann do Abraham sibh, dheanadh sibh oibre Abrahaim.

40 Ach a nis tha sibh ag iarraidh mise a mharbhadh, duine a dh'innis duibh an fhìrinn, a chuala mi o Dhia: cha d'rinn Abraham so.

41 Tha sibhse a' deanamh oibre bhur n-athar féin. An sin thubhairt iad ris, Cha d'rugadh an strìopachas sinne; tha aon Athair againn, *eadhon* Dia.

42 An sin thubhairt Iosa riu, Nam b'e Dia bhur n-Athair, ghràdhaicheadh sibh mise: oir chaidh mise mach, agus thainig mi o Dhia; agus cha d'thainig mi uam féin, ach chuir esan uaith mi.

43 C'ar son nach 'eil sibh a' tuigsinn mo chòmhraidh? do bhrigh nach urradh sibh éisdeachd ri m' fhocal.

44 Tha sibhse o *bhur* n-athair an diabhol, agus is iad anamhianna bhur n-athar is toil libh a dheanamh: bha esan 'na mhortair[s] o thùs, agus cha d'fhan e san fhìrinn, a chionn nach 'eil fìrinn ann. 'Nuair a labhras e breug, is ann uaith féin a ta e labhairt: oir is breugoire e, agus *is e* athair na bréige.

45 Agus do bhrigh gu bheil mise 'g innseadh na fìrinn, cha 'n'eil sibh ga m' chreidsinn.

46 Cò agaibhse chuireas peacadh as mo lethse? agus ma ta mi 'g innseadh na fìrinn, c'ar son nach 'eil sibh ga m' chreidsinn?

47 An ti a ta o Dhia, éisdidh e ri briathraibh Dhé: uime sin *cha* 'n'eil sibhse 'g éisdeachd, a chionn nach ann o Dhia a ta sibh.

48 An sin fhreagair na h-Iudhaich, agus thubhairt iad ris, Nach maith a deir sinn gur Samaritanach thu, agus gu bheil deamhan agad?

49 Fhreagair Iosa, Cha 'n'eil deamhan agam; ach a ta mi toirt urraim do m'Athair, agus a ta sibhse toirt easurraim dhomhsa.

50 Agus cha 'n'eil mi 'g iarraidh mo ghlòire féin: tha neach a ta 'g iarraidh agus a' toirt breth.

51 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Ma choimhideas neach m' fhocalsa, cha'n fhaic e bàs am feasd.

52 An sin thubhairt na h-Iudhaich ris, A nis tha fhios againn gu bheil deamhan agad. Fhuair Abraham bàs, agus na fàidhean; gidheadh a deir thusa, Ma choimhideas duine m'fhocalsa, cha bhlais e bàs am feasd.

53 Am mò thusa na ar n-athair Abraham, a fhuair bàs? agus fhuair na fàidhean bàs: cò a tha thu deanamh dhiot féin?

54 Fhreagair Iosa, Ma ta mi toirt glòire dhomh féin, cha 'n'eil ach neoni a'm' ghlòir: 's e m'Athair a ta toirt glòire dhomh, neach a deir sibhse gur e bhur Dia e:

55 Gidheadh cha do ghabh sibh eòlas air; ach a ta eòlas agams' air: agus nan abrainn, Nach aithne dhomh e, bhithinn cosmhuil ribhse a'm' bhreugoire: ach is aithne dhomh e, agus a ta mi coimhead[t] fhocail.

56 Bha déidh[u] mhòr aig Abraham bhur n-athairse air mo là-sa fhaicinn: agus chunnaic se *e*, agus rinn e gairdeachas.

57 An sin thubhairt na h-Iudhaich ris, Cha 'n'eil thu fathast leth-cheud bliadhna dh'aois, agus am faca tu Abraham?

58 Thubhairt Iosa riu, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Mun robh Abraham ann, ATAIMSE.

59 An sin thog iadsan clachan chum an tilgeadh air: ach dh'fhol-

[s] *'na fhear-millidh dhaoine.* [t] *gleidheadh.* [u] *togradh, gairdeachas.*

aich Iosa e féin, agus chaidh e mach
as an teampull, a' dol tre am meadh-
on, [agus mar sin chaidh e seach-
ad.]

CAIB. IX.

*1 Tha a radharc air aiseag do'n
duine a rugadh dall : 13 Tha e air
a thoirt chum nam Phairiseach : 15
Tha iad a' gabhail corruich ris,
agus 'ga thilgeadh mach as an
t-sionagog ; 35 ach a ta Criosd a'
gabhail ris. &c.*

AGUS ag gabhail seachad do *Iosa*,
chunnaic e duine a bha dall o
rugadh e.
2 Agus dh'fheòraich a dheisciobuil
deth, ag ràdh, A mhaighstir, cò a
pheacaich, an duine so, no a phàrant-
an, gu'n d'rugadh dall e ?
3 Fhreagair Iosa, Cha do pheac-
aich aon chuid an duine so, no a
phàrantan : ach a chum gu'm foill-
sichte oibre Dhé ann.
4 Is éigin domhsa oibre an ti a
chuir uaith mi a dheanamh, am feadh
is là e : tha 'n oidhche a' teachd,
'nuair nach urrainn aon duine obair
a dheanamh.
5 Am feadh a ta mise san t-saogh-
al, is mi solus an t-saoghail.
6 'Nuair a thubhairt e na nithe so,
chuir e sile air an talamh, agus rinn
e criadh [a] do'n t-sile, agus sgaoil e a'
chriadh air sùilibh an doill,
7 Agus thubhairt e ris, Imich,
ionnlaid ann an lochan Shiloaim ('se
sin air eadar-theangachadh, Air a
chur.) Uime sin dh'imich e, agus
dh'ionnlaid e, agus thainig e a' faic-
inn.
8 Uime sin thubhairt na coimh-
earsnaich, agus iadsan a chunnaic
dall e roimhe sin, Nach e so esan a
bha 'na shuidhe 'g iarraidh na déirce?
9 Thubhairt cuid, Is e so e ; cuid
eile, Tha e cosmhuil ris : thubhairt e
féin, Is mise e.
10 Air an aobhar sin thubhairt iad
ris, Cionnus a dh'fhosgladh do shùil-
ean ?
11 Fhreagair esan agus thubhairt
e, Rinn duine d'an ainm Iosa criadh,
agus sgaoil e air mo shùilibh i, agus
thubhairt e rium, Imich gu lochan
Shiloaim, agus ionnlaid : agus dh'im-
ich mi agus dh'ionnlaid mi, agus
fhuair mi mo radharc.
12 An sin thubhairt iad ris, C'àit
am bheil e ? Thubhairt esan, Cha'n
aithne dhomh.
13 Thug iad chum nam Phairis-
each esan a bha roimhe dall.
14 Agus b'i an t-sàbaid a bha ann
an uair a rinn Iosa a' chriadh, agus
a dh'fhosgail e shùilean.
15 An sin a rìs dh'fheòraich na
Phairisich dheth mar an ceudna cionn-
us a fhuair e a radharc. Agus thubh-
airt esan riu, Chuir e criadh air mo
shùilibh, agus dh'ionnlaid mi, agus
tha mi a' faicinn.
16 Uime sin thubhairt cuid do na
Phairisich, Cha 'n'eil an duine so o
Dhia, do bhrigh nach 'eil e gleidh-
eadh na sàbaid. Thubhairt cuid eile,
Cionnus a dh'fheudas duine a ta 'na
pheacach, an leithide so do mhìorbh-
uilibh a dheanamh ? Agus bha eas-
aonachd [b] 'nam measg.
17 A deir iad a rìs ris an duine
dhall, Ciod a deir tu uime, thaobh
gu'n dh'fhosgail e do shùilean ? A-
gus thubhairt esan, Is fàidh e.
18 Ach cha do chreid na h-Iudh-
aich m'a thimchioll, gu'n robh e dall,
agus gu'n d'fhuair e a radharc, gus
an do ghairm iad pàrantan an ti a
fhuair a radharc.
19 Agus dh'fheòraich iad dhiubh,
ag ràdh, An e so bhur macsa, a deir
sibh a rugadh dall ? cionnus ma
seadh a ta e nis a' faicinn ?
20 Fhreagair a phàrantan iad agus
thubhairt iad, Tha fhios againn gur
e so ar mac, agus gu'n do rugadh
dall e :
21 Ach cionnus a ta e nis a' faic-
inn, cha 'n'eil fhios againn ; no cò a
dh'fhosgail a shùilean, cha'n aithne
dhuinn : tha e féin air teachd gu aois,
feòraichibh dheth, labhraidh e air a
shon féin.
22 Thubhairt a phàrantan na briath-
ra so, a chionn gu robh eagal nan
Iudhach orra : oir shuidhich na
h-Iudhaich a cheana eatorra féin,
Nan aidicheadh duine sam bith gu'm

[a] *làthach.* [b] *roinn, sgaradh.*

b'esan Criosd, gu'n rachadh a chur
as an t-sionagog.
23 Air an aobhar sin thubhairt a
phàranta, Tha e air teachd gu aois,
feòraichibh dheth féin.
24 Air an aobhar sin ghairm iad
an dara uair an duine a bha dall, agus
thubhairt iad ris, Thoir glòir do Dhia:
tha fhios againne gur peacach an
duine so.
25 An sin fhreagair esan agus
thubhairt e, Am peacach e ni h-aithne
dhomh: air aon ni tha fhios agam,
air dhomh bhi dall, gu bheil mi nis
a' faicinn.
26 Ach thubhairt iad ris a rìs,
Ciod a rinn e dhuit? cionnus a
dh'fhosgail e do shùilean?
27 Fhreagair e iad, Dh'innis mi
dhuibh a cheana, agus cha d'éisd sibh;
c'ar son a b'àill libh a chluinntinn a
rìs? a bheil a' mhiann oirbhse bhi
'nar deisciobuil aige màr an ceudna?
28 An sin chàin iad e, agus thubh-
airt iad, Is tusa a dheisciobul; ach is
sinne deisciobuil Mhaois.
29 Tha fhios againn gu'n do
labhair Dia ri Maois: ach mu thim-
chioll an fhir so, cha 'n'eil fhios ag-
ainn cia as da.
30 Fhreagair an duine agus thubh-
airt e riu, An so tha ni iongantach,
nach 'eil fhios agaibh cia as da, agus
gu'n d'fhosgail e mo shùilean;
31 Ach a ta fhios againn nach
éisd Dia ri peacachaibh: ach ma ta
neach air bith 'na fhear-aoraidh do
Dhia, agus a' deanamh a thoile, ris-
san éisdidh e.
32 O thoiseach an t-saoghail cha
chualas gu'n d'fhosgail aon neach
sùilean duine a rugadh dall.
33 Mur biodh an duine so o Dhia,
cha b'urrainn e ni sam bith a dhean-
amh.
34 Fhreagair iadsan agus thubh-
airt iad ris, Rugadh thusa uile ann
am peacaibh, agus am bheil thu 'gar
teagasgne? agus thilg iad a mach e.
35 Chual Iosa gu'n do thilg iad a
mach e; agus air dha fhaotainn,
thubhairt e ris, Am bheil thu creid-
sinn ann am Mac Dhé?
36 Fhreagair esan agus thubhairt
e, Cò e, a Thighearn, chum gu'n
creid mi ann?
37 Agus thubhairt Iosa ris, Chunn-
aic thu araon e, agus an ti a ta labh-
airt riut, is esan e.
38 Agus thubhairt esan, Tha mi
creidsinn, a Thighearn. Agus rinn
e aoradh dha.
39 Agus thubhairt Iosa, Is ann
chum breitheanais a thainig mise
chum an t-saoghail so, chum iadsan
nach 'eil a' faicinn, gu'm faiceadh
iad; agus gu'm biodh iadsan a ta
faicinn, air an deanamh dall.
40 Agus chuala *cuid* do na Phair-
isich, a bha maille ris na nithe so,
agus thubhairt iad ris, Am bheil
sinne dall mar an ceudna?
41 Thubhairt Iosa riu, Nam bith-
eadh sibh dall, cha bhiodh peacadh
agaibh: ach a nis a deir sibh, Is léir
dhuinn; uime sin tha bhur peacadh
a' fantuinn.

CAIB. X.

1 'S e Criosd an dorus agus an deadh bhuachaille. 19 Iomadh guè bharaile m'a thimchioll. 24 Tha e dearbhadh le oibribh gur e féin Criosd Mac Dhé, 39 a' dol as o na h-Iudhachaibh, 40 agus a' dol do'n taobh thall do Iordan, far an do chreid mòran ann.

GU deimhin deimhin a deirim
ribh, An ti nach d'théid a stigh
tre'n dorus do chrò nan caorach, ach
a théid suas air rathad eile, is gaduiche
agus fear-reubainn esan.
2 Ach an ti a théid a steach air an
dorus, is esan buachaille nan caorach.
3 Dhasan fosglaidh an dorsair;
agus éisdidh na caoraich r'a ghuth:
agus gairmidh e a chaoraich féin air
an ainm, agus treòraichidh e mach iad.
4 Agus an uair a chuireas e mach
a chaoraich féin, imichidh e rompa,
agus leanaidh na caoraich e: oir is
aithne dhoibh a ghuth.
5 Agus cha lean iad coigreach,
ach teichidh iad uaith, do bhrigh nach
aithne dhoibh guth choigreach.
6 An cosamhlachd so labhair Iosa
riu: ach cha do thuig iadsan ciod
iad na nithean a labhair e riu.
7 An sin thubhairt Iosa riu a rìs,
Gu deimhin deimhin a deirim ribh,
gur mise dorus nan caorach.
8 Iadsan uile a thainig romhamsa,

[il]-gaduichean agus luchd-reubainn
iad: ach cha d'éisd na caoraich riu.
9 Is mise an dorus: ma théid
neach air bith steach triomsa, tearnar
e, agus théid e steach agus a mach,
agus gheibh e ionaltradh.
10 Cha d'thig an gaduiche ach a
ghoid, agus a mharbhadh, agus a
mhilleadh: thainig mise chum's gu'm
biodh beatha acā, agus gu'm biodh i
aca ni's pailte.
11 Is mise am buachaille maith:
leigidh[c] am buachaille[d] maith anam
sìos air son nan caorach.
12 Ach am fear-tuarasdail, agus
an ti nach e am buachaille, agus nach
leis féin na caoraich, chi e am mad-
adh-alluidh a' teachd, agus fàgaidh
e na caoraich, agus teichidh e: agus
glacaidh am madadh-alluidh iad, agus
sgapaidh e na caoraich.
13 Ach teichidh am fear-tuarasdail,
a chionn gur fear-tuarasdail e, agus
nach 'eil suim aige do na caoraich.
14 Is mise am buachaille maith,
agus is aithne dhomh mo *chaoraich*
féin, agus aithnichear le m' *chaoraich*
féin mi.
15 Mar is aithne do'n Athair mise,
agus is aithne dhomhsa an t-Athair:
agus a ta mi leigeadh m'anama sìos
air son nan caorach.
16 Agus a ta caoraich eile agam,
nach 'eil do'n chrò so: is éigin domh
iad sin mar an ceudna thoirt *a stigh*,
agus éisdidh iad ri m' ghuth; agus
bithidh aon treud ann, *agus* aon
bhuachaille.
17 Air an aobhar so is ionmhuinn[e]
leis an Athair mise, air son gu'n leig
mi sìos m'anam, chum's gu'n glac mi
e rìs.
18 Cha 'n'eil neach air bith 'ga
thoirt uam, ach a ta mi 'ga leigeadh
sìos uam féin: tha cumhachd agam a
leigeadh sìos, agus tha cumhachd
agam a ghlacadh a rìs. An àithne
so fhuair mi o m' Athair.
19 Air an aobhar sin dh'éirich eas-
aonachd a rìs am measg nan Iudhach
air son nam briathar so.
20 Agus thubhairt mòran diubh,
Tha deamhan aige, agus tha e air
boile[f]; c'ar son a tha sibh ag éisd-
eachd ris?
21 Thubhairt cuid eile, Cha'n iad
so briathra duine am bheil deamhan;
am bheil deamhan comasach air sùile
nan dall fhosgladh?
22 Agus bha féisd-chuimhne an
ath-choisreagaidh[g] ann an Jerusalem,
agus b'e 'n geamhradh a bha ann.
23 Agus bha Iosa a sràid-imeachd
san teampull ann an sgàth-thigh[h]
Sholaimh.
24 An sin chruinnich na h-Iudh-
aich mu thimchioll, agus thubhairt
iad ris, Cia fhad a chumas tu ar n-an-
ama an amharus? ma's tu Criosd,
innis dhuinn gu follaiseach.
25 Fhreagair Iosa iad, Dh'innis
mi dhuibh, agus cha do chreid sibh:
na h-oibre a ta mi deanamh an ainm
m'Athar, tha iad sin a' toirt fianuis
mu m' thimchioll.
26 Ach cha 'n'eil sibhse a' creid-
sinn; oir cha'n ann do m' chaoraich
sibh, mar thubhairt mi ribh.
27 Tha mo chaoraichse ag éisd-
eachd ri m' ghuth, agus is aithne
dhomh iad, agus leanaidh iad mi:
28 Agus bheiream a' bheatha mhair-
eannach dhoibh, agus cha sgriosar[i]
iad am feasd, ni mò a spìonas neach
air bith as mo làimh iad.
29 M'Athair a thug dhomhsa *iad*,
is mò e na na h-uile: agus cha'n
urradh neach air bith *an* spìonadh a
làimh m'Athar.
30 Mise agus an t-Athair, is aon
sinn.
31 Uime sin thog na h-Iudhaich
clachan a rìs chum a chlachadh.
32 Fhreagair Iosa iad, Nochd mi
dhuibh mòran a dh'oibribh maithe o
m'Athair; cia do na h-oibribh sin air
son am bheil sibh ga m' chlachadh?
33 Fhreagair na h-Iudhaich e, ag
ràdh, Air son oibre maith cha 'n'eil
sinn ga d' chlachadh; ach air son
toibheim, agus air son, air bhi dhuitse
a'd' dhuine, gu bheil thu deanamh
Dé dhiot féin.
34 Fhreagair Iosa iad, Nach 'eil e
scrìobhta ann bhur laghsa, Thubhairt
mi, Is dée sibh?

[c] *cuiridh.* [d] *an t-aodhaire.* [e] *toigh.* [f] *mhi-chéill.*
[g] *féill an ath-nuadhachaidh.* [h] *àileir.* [i] *chaillear.*

35 Ma thubhairt e dée riusan,
dh'ionnsuidh an robh focal Dé, agus
nach feudar an sgriobtuir a bhris-
eadh [1];
36 An abair sibh risean, a naomh-
aich an t-*Athair*, agus a chuir e chum
an t-saoghail, Tha thu a' labhairt
toibheim; air son gu'n dubhairt mi,
Is mi Mac Dhé?
37 Mur dean mi oibre m'Athar,
na creidibh mi.
38 Ach ma ni, ge nach creid sibh
mise, creidibh na h-oibre, chum gu'm
bi fios agaibh agus gu'n creid sibh gu
bheil an t-Athair annamsa, agus mise
annsan.
39 Uime sin dh'iarr iad a rìs a
ghlacadh: ach chaidh e as an làimh.
40 Agus chaidh e rìs do'n taobh
thall do Iordan, do'n ionad anns an
robh Eoin air tùs ri baisteadh: agus
rinn e còmhnuidh an sin.
41 Agus thainig mòran d'a ionn-
suidh, agus thubhairt iad, Cha do
rinn Eoin aon mhìorbhuil: ach bha
na h-uile nithe thubhairt Eoin mu'n
duine so fìor.
42 Agus chreid mòran san àit sin
air.

CAIB. XI.

1 *Tha Criosd a' togail suas Lasaruis an déigh dha bhi ceithir làithean san uaigh.* 45 *Tha mòran do na h-Iudhachaibh a' creidsinn.* 47 *Tha na h-àrd shagairt agus na Phairsich a' cumail comhairle 'n aghaidh Chriosd.* 49 *Tha Caiaphas a' deanamh fàidheadaireachd, &c.*

A NIS bha duine àraidh gu tinn,
d'am *b'ainm* Lasarus o Bheta-
ni, baile Mhuire agus Mharta a peath-
ar.
2 (B'i Mhuire *sin* a dh'ùng an
Tighearn le ola luachmhoir, agus a
thiormuich a chosa leis a fòlt, aig an
robh a bràthair Lasarus gu tinn.)
3 Uime sin chuir a pheathraiche
fios d'a ionnsuidh, ag ràdh, A Thigh-
earn, feuch, tha 'n ti a's ionmhuinn
leat tinn.
4 'Nuair a chual Iosa *so*, thubhairt
e, Cha 'n'eil an tinneas so chum bàis,
ach a chum glòire Dhé, chum gu'm
bi Mac Dhé air a ghlòrachadh d'a
thaobh.
5 A nis b'ionmhuin le Iosa Marta,
agus a piuthar, agus Lasarus.
6 Uime sin an uair a chual e gu'n
robh esan tinn, dh'fhan e fathast dà
latha anns an ionad an robh e.
7 'Na dhéigh sin thubhairt e r'a
dheisciobluibh, Rachamaid a rìs do
Iudea.
8 Thubhairt a dheisciobuil ris, A
Mhaighstir, a nis dh'iarr na h-Iudh-
aich do chlachadh; agus am bheil
thu dol a rìs an sin?
9 Fhreagair Iosa, Nach 'eil dà
uair dheug san là? Ma dh'imicheas
duine anns an là, cha tuislich e, oir
tha e faicinn soluis an t-saoghail so.
10 Ach ma dh'imicheas duine
anns an oidhche, tuislichidh e, do
bhrigh nach 'eil an solus ann.
11 Na nithe so thubhairt e: agus
'na dhéigh sin a deir e riu, Tha ar
caraid Lasarus 'na chodal; ach a ta
mise a dol chum's gu'n dùisg mi as a
chodal e.
12 An sin thubhairt a dheisciobuil,
A Thighearn, ma tha e 'na chodal,
bithidh e slàn.
13 Gidheadh labhair Iosa m'a
bhàs: ach shaoil iadsan gu'n do labh-
air e mu thimchioll fois codail.
14 An sin thubhairt Iosa riu gu
soilleir, Fhuair Lasarus bàs:
15 Agus a tà mi subhach air bhur
sonsa nach robh mi an sin (chum's
gu'n creid sibh;) ach rachamaid d'a
ionnsuidh.
16 An sin thubhairt Tomas, d'an
goirear Didimus, r'a choimh-dheis-
ciobluibh, Rachamaidne mar an ceud-
na, chum's gu'm faigh sinn bàs maille
ris.
17 An sin an uair a thainig Iosa,
fhuair se e an déigh dha bhi cheana
ceithir làithean san uaigh.
18 (A nis bha Betani fagus do
Hierusalem, mu thimchioll cùig
stàide deug uaith.)
19 Agus thainig mòran do na
h-Iudhachaibh chum Mharta agus
Mhuire, gu comh-fhurtachd a thoirt
doibh a thaobh am bràthar.
20 An sin an uair a chuala Marta

[1] *sgaoileadh.*

gu'n robh Iosa a' teachd, chaidh i 'na chòdhail: ach shuidh Muire san tigh.

21 An sin thubhairt Marta ri h-Iosa, A Thighearn, nam biodh tusa an so, cha 'n fhaigheadh mo bhràthair bàs.

22 Ach a ta fhios agam a nis féin, ge b'e air bith nithe a dh'iarras tu air Dia gu'n d'thoir Dia dhuit *iad*.

23 Thubhairt Iosa rithe, Eiridh do bhràthair a rìs.

24 Thubhairt Marta ris, Tha fhios agam gu'n éirich e rìs san aiseirigh air an là dh'eireannach.

25 Thubhairt Iosa rithe, Is mise an aiseirigh, agus a' bheatha: an ti a chreideas annamsa, ge do gheibheadh e bàs, bithidh e beo;

26 Agus ge b'e neach a ta beo, agus a' creidsinn annamsa, cha'n fhaigh e bàs am feasd. Am bheil thu creidsinn so?

27 Thubhairt i rìs, Tha, a Thighearn: creideam gur tusa Criosd, Mac Dhé, a bha gu teachd chum an t-saoghail.

28 Agus air dh'i na nithe so ràdh, dh'fhalbh i, agus ghairm i a piuthar Muire os ìosal, ag ràdh, Thainig am Maighstir, agus tha e ga d' ghairm.

29 'Nuair a chual ise *sin*, dh'éirich i gu grad, agus thainig i d'a ionnsuidh.

30 A nis cha robh Iosa fathast air teachd do'n bhaile, ach bha e anns an àit an do choinnich Marta e.

31 An sin na h-Iudhaich a bha maille rithe san tigh, agus a' toirt comh-fhurtachd dh'i, 'nuair a chunnaic iad Muire gu'n d'éirich i gu grad, agus gu'n deachaidh i mach, lean iad i, ag ràdh, Tha i dol chum na h-uaighe, a chaoineadh an sin.

32 An sin an uair a thainig Muire do'n àit an robh Iosa, agus a chunnaic i e, thuit i aig a chosaibh, ag ràdh ris, A Thighearn, nam biodh tusa an so, cha 'n fhaigheadh mo bhràthair bàs.

33 Uime sin an uair a chunnaic Iosa i a' gul, agus na h-Iudhaich a thainig maille rithe a' gul mar an ceudna, rinn e osna 'na spiorad, agus chuir se e féin fuidh àmhghar[m].

34 Agus thubhairt e, C'àit an do chuir sibh e? Thubhairt iad ris, A Thighearn, thig agus faic.

35 Ghuil Iosa.

36 An sin thubhairt na h-Iudhaich, Feuch cionnus a ghràdhaich se e?

37 Agus thubhairt cuid diubh, Nach feudadh an duine so a' dh'fhosgail sùilean an doill, a thoirt fainear nach faigheadh eadhon am fear so bàs?

38 Uime sin thainig Iosa ag osnaich a rìs ann féin, chum na h-uaighe, Agus b'uaimh[n] i, agus bha clach air a cur oirre.

39 Thubhairt Iosa, Togaibh a' chlach. Thubhairt Marta, piuthar an duine mhairbh, ris, A Thighearn, tha nis droch bholadh dheth; oir is e so an ceathramh latha[o].

40 A deir Iosa rithe, Nach dubhairt mi riut, Ma chreideas tu, gu'm faic thu glòir Dhé?

41 An sin thog iad a' chlach (*o'n àit* anns an robh an duine marbh air a chur.) Agus thog Iosa suas a shùilean, agus thubhairt e, Athair, tha mi toirt buidheachais duit gu'n d'éisd thu rium.

42 Agus bha fhios agam gu bheil thu 'g éisdeachd rium a ghnàth: ach thubhairt mi *e* air son an t-sluaigh a tha 'nan seasamh a m' thimchioll, chum gu'n creid iad gu'n do chuir thusa uait mi.

43 Agus an uair a labhair e na nithe so, ghlaodh e le gur mòr, A Lasaruis, thig a mach.

44 Agus thainig esan a bha marbh a mach, agus a chosan agus a làmhan ceangailte leis an eudach mhairbh: agus bha aghaidh ceangailte m'an cuairt le neapaicin. A deir Iosa riu, Fuasglaibh e, agus leigibh leis imeachd.

45 An sin chreid mòran do na h-Iudhachaibh ann, a thainig chum Mhuire, agus a chunnaic na nithe a rinn Iosa.

46 Ach dh'fhalbh cuid diubh chum nam Phairiseach, agus dh'innis iad dhoibh na nithe a rinn Iosa.

[m] *thrioblaid.* [n] *chuas.* [o] *tha e ceithir làithean san uaigh.*

47 An sin chruinnich na h-àrd shagairt agus na *Phairisich* comhairle, agus thubhairt iad, Ciod a tha sinn a' deanamh? oir a ta 'n duine so deanamh mòrain mhìorbhuile.

48 Ma leigeas sinn leis air an dòigh so, creididh na h-uile dhaoine ann; agus thig na Romhanaich [p], agus sgriosaidh iad [r] ar n-àit, agus ar cinneach.

49 An sin thubhairt fear àraidh dhiubh *d' am b'ainm* Caiaphas, air dha bhi 'na àrd shagart air a' bhliadhna sin, riu, Cha'n aithne dhuibh ni sam bith,

50 Ni mò tha sibh a' toirt fainear gur iomchuidh dhuinne gu'm faigheadh aon duine bàs air son an t-sluaigh, agus nach biodh an cinneach uile air a sgrios.

51 Ach cha b'ann uaith féin a labhair e so: ach air dha bhi 'na àrd shagart air a' bhliadhna sin, rinn e fàidheadaireachd gu'm faigheadh Iosa bàs air son a' chinnich sin:

52 Agus ni h-ann air son a' chinnich sin a mhàin, ach a chum mar an ceudna gu'n cruinnicheadh e an ceann a chéile 'nan aon clann Dhé a bha air an sgapadh.

53 Uime sin o'n là sin a mach, chuir iad an comhairle r'a chéile chum esan a chur gu bàs.

54 Air an aobhar sin cha d'imich Iosa ni's mò os àird am measg nan Iudhach; ach chaidh e as sin do dhùthaich làimh rìs an fhàsach, gu baile d'an goirear Ephraim, agus an sin ghabh e còmhnuidh maille r'a dheisciobluibh.

55 Agus bha càisg nan Iudhach am fagus: agus chaidh mòran suas as an dùthaich do Hierusalem roimh 'n chàisg, chum iad féin a ghlanadh.

56 An sin dh'iarr iad Iosa, agus labhair iad r'a chéile 'nan seasamh san teampull, Ciod bhur barailse? an e nach d'thig e chum na féisde?

57 A nis bha araon na h-àrd shagairt agus na Phairisich air toirt àithne, nam biodh fhios aig neach air bith c'àit an robh e, gu'n innseadh se *e*, chum's gu'n glacadh iad e.

CAIB XII.

1 *Tha Iosa a' gabhail leith-sgeil*
Mhuire air son gu'n d'ùng i a chos-
an. 9 *Tha 'n sluagh a' teachd*
'nam buidhnibh a dh'fhaicinn Las-
aruis. 10 *Tha na h-àrd shagairt*
a' gabhail comhairle Lasarus a
mharbhadh. 12 *Tha Criosd a'*
marcachd gu Hierusalem. 23 *Tha*
e a' roimh-innseadh a bhàis, &c.

AN sin thainig Iosa, sèa làithean roimh an chàisg, gu Betani, far an robh Lasarus a bha marbh, neach a thog esan o na marbhaibh.

2 Uime sin rinn iad suipeir dha an sin, agus bha Marta a' frithealadh: ach bha Lasarus 'na aon diubhsan a shuidh air bord maille rìs.

3 An sin ghabh Muire pund do ola spicnaird ro luachmhoir, agus dh'ùng i cosan Iosa, agus thiormuich i a chosan le a folt: agus lìonadh an tigh le fàile [s] cùbhruidh na h-ola.

4 An sin a deir aon d'a dheisciobluibh, Iudas Iscariot, *mac* Shimoin, a bha gu esan a bhrath,

5 C'ar son nach do reiceadh an ola so air son tri cheud peghinn, agus nach d'thugadh do na bochdaibh e?

6 Thubhairt e so, cha b'ann a chionn gu'n robh suim aige do na bochdaibh; ach a chionn gu'm bu ghaduiche e, agus gu'n robh an sporan aige, agus gu'n do ghiùlain e na nithe a chuireadh ann.

7 An sin thubhairt Iosa, Leig leatha: fa chomhair latha m' adhlaic ghleidh i so.

8 Oir tha na bochdan a ghnàth agaibh maille ribh, ach cha 'n'eil mise agaibh a ghnàth.

9 Agus bha fhios aig sluagh mòr do na h-Iudhachaibh gu'n robh e 'n sin: agus thainig iad, cha 'n ann a mhàin air son Iosa, ach a chum gu'm faiceadh iad mar an ceudna Lasarus, a thog esan o na marbhaibh.

10 Ach ghabh na h-àrd shagairt comhairle, chum Lasarus mar an ceudna a mharbhadh;

11 Do bhrigh air a shonsan gu'n d'imich mòran do na h-Iudhachaibh, agus gu'n do chreid iad ann an Iosa.

12 Air an là màireach, air cluinn-

[p] Romanaich. [r] dìthichidh iad, bheir iad air falbh. [s] boltrach.

tinn do mhòr shluagh a thainig chum
na fèisde, gu'n robh Iosa a' teachd
gu Hierusalem,
13 Ghlac iad geuga pailme, agus
chaidh iad a mach 'na chòdhail, agus
ghlaodh iad, Hosana, beannuichte gu
robh Righ Israeil a tha teachd an
ainm an Tighearna!
14 Agus, air do Iosa asal òg
fhaotainn, shuidh e air; a réir mar a
ta e sgrìobhta,
15 Na biodh eagal ort, a nighean
Shioin: feuch, a ta do Righ a' teachd,
'na shuidhe air loth asail.
16 Cha do thuig a dheisciobuil na
nithe so air tùs: ach an uair a ghlòr-
aicheadh Iosa, an sin chuimhnich iad
gu'n robh na nithe so scrìobhta uime,
agus gu'n d'rinn iad na nithe so
dha.
17 Uime sin rinn an sluagh a bha
maille ris fianuis, gu'n do ghairm e
Lasarus as an uaigh, agus gu'n do
thog e o na marbhaibh e.
18 Air an aobhar sin mar an ceud-
na choinnich an sluagh e, do bhrigh
gu'n cual iad gu'n d'rinn e am mìor-
bhuil so.
19 Thubhairt na Phairisich uime
sin eatorra féin, Am faic sibh nach
'eil sibh a' buadhachadh bheag sam
bith? feuch, tha 'n saoghal air dol
'na dhéigh.
20 Agus bha Greugaich àraidh am
measg na muinntir a chaidh suas
chum aoradh dheanamh aig an
fhéisd:
21 Air an aobhar sin thainig iad-
san gu Philip, a *bha* o Bhetsaida
Ghalile, agus dh'iarr iad air, ag ràdh,
A Thighearn, bu mhiann leinn Iosa
fhaicinn.
22 Thainig Philip agus dh'innis e
do Aindreas: agus a rìs dh'innis
Aindreas agus Philip do Iosa.
23 Agus fhreagair Iosa iad, ag
ràdh, Thainig an uair, chum gu'm
biodh Mac an duine air a ghlòrach-
adh.
24 Gu deimhin deimhin a deirim
ribh, Mur faigh an gràinne cruin-
eachd a thuiteas anns an talamh bàs,
fanaidh e 'na aonar: ach ma gheibh
e bàs, bheir e toradh mòr uaith.
25 Esan a ghràdhaicheas anam,
caillidh se e; agus esan a dh'fhuath-
aicheas anam anns an t-saoghal so,
gleidhidh se e chum na beatha mair-
eannaich.
26 Ma ni neach air bith seirbhis
dhomhsa, leanadh e mi; agus ge b'e
àit am bi mise, an sin bithidh mo
sheirbhiseach mar an ceudna: ma ni
neach seirbhis dhomhsa, bheir m' Ath-
air onoir dha.
27 A nis tha m'anam fuidh àmh-
ghar[t]; agus ciod a their mi? Ath-
air, saor mi o'n uair so: ach is an
air a shon so a thainig mi chum na
h-uaire so.
28 Athair, glòraich t-ainm. An
sin thainig guth o nèamh, Ghlòraich
mi araon *e*, agus glòraichidh mi
rìs *e*.
29 Uime sin thubhairt an sluagh a
sheas a làthair, agus a chuala *so*, Gu'n
robh tairneanach ann: thubhairt cuid
eile, Labhair aingeal ris.
30 Fhreagair Iosa agus thubhairt
e, Cha'n ann air mo shonsa thainig
an guth so, ach air bhur sonsa.
31 A nis tha breitheanas an
t-saoghail so ann: a nis tilgear
uachdaran an t-saoghail so mach.
32 Agus mise, ma thogar suas o'n
talamh mi, tairngidh mi na h-uile
dhaoine a'm' ionnsuidh.
33 (Ach thubhairt e so, a' ciall-
achadh ciod a' ghnè bàis a gheibh-
eadh e.)
34 Fhreagair an sluagh e, Chuala
sinne as an lagh, gu'm fan Criosd gu
siorruidh: agus cionnus a deir thusa,
Gur éigin do Mhac an duine bhi air
a thogail suas? cò e Mac an duine so?
35 An sin thubhairt Iosa riu,
Fathast rè tamuill bhig tha 'n solus
maille ribh; gluaisibh am feadh 's a
ta 'n solus agaibh, chum nach beir an
dorchadas oirbh: oir an ti a ta 'g
imeachd an dorchadas, cha'n aithne
dha c'àit am bheil e dol.
36 Am feadh 's a ta 'n solus ag-
aibh, creidibh san t-solus, chum gu'm
bi sibh 'nar cloinn do'n t-solus.
Labhair Iosa na nithe so agus
dh'fhalbh e, agus dh'fholaich se e
féin uatha.

[t] *bhuaireas, thrioblaid.*

37 Ach ge do rinn e a choimhlion so do mhìorbhuilibh 'nan làthair, cha do chreid iad ann:

38 Chum gu'n biodh briathran an fhàidh Esaiais air an coimhlionadh, a thubhairt e, A Thighearn, cò a chreid ar n-aithrisne[u]? agus cia dha a dh'fhoillsicheadh gairdean an Tighearna?

39 Air an aobhar so cha robh e'n comas doibh creidsinn, do bhrigh gu'n dubhairt Esaias a rìs,

40 Dhall e an sùilean, agus chruaidhich e an cridhe, chum nach faiceadh iad le'n sùilibh, agus nach tuigeadh iad le'n cridhe, agus nach pilleadh iad, agus gu'n slànuichinn iad.

41 Thubhairt Esaias na nithe so, 'nuair a chunnaic e a ghlòirsan, agus labhair e uime.

42 Gidheadh chreid mòran do na h-Uachdaranaibh féin ann: ach air son nam Phairiseach cha d'aidich iad e, air eagal gu'n cuirte mach as an t-sionagog iad.

43 Oir b'annsa leo glòir dhaoine na glòir Dhé.

44 Agus ghlaodh Iosa, agus thubhairt e, An ti a ta creidsinn annamsa, cha'n ann annamsa tha e creidsinn, ach anns an ti a chuir uaith mi.

45 Agus an ti a tha ga m' fhaicinnse, tha e faicinn an ti a chuir uaith mi.

46 Thainig mi a'm' sholus chum an t-saoghail, chum ge b'e chreideas annam, nach fanadh e an dorchadas.

47 Agus ma chluinneas neach air bith mo bhriathransa, agus nach creid e, cha 'n'eil mise 'ga dhìteadh: oir cha d'thainig mi a dhìteadh an t-saoghail, ach a shaoradh an t-saoghail.

48 An ti a tha cur cùil riumsa, agus nach 'eil a' gabhail ri m' bhriathraibh, tha aige neach a bheir breth air: am focal a labhair mi, bheir e sin breth air san là dheireannach.

49 Oir cha do labhair mi uam féin; ach an t-Athair a chuir uaith mi, thug e àithne dhomh, ciod a theirinn, agus ciod a labhrainn.

50 Agus a ta fhios agam gur beatha mhaireannach àithnesan: air an aobhar sin na nithe tha mi a' labhairt, mar thubhairt an t-Athair rium, mar sin a ta mi a' labhairt.

CAIB. XIII.

1 *Tha Criosd a' nigheadh chos nan deisciobul,* 15 *ag carail orra bhi iriosal agus seirceil;* 18 *ag innseadh roimh-laimh, agus a' foillseachadh do Eoin le comhara, gu'm b'e Iudas a bhrathadh e;* 31 *a' toirt àithne dhoibh iad a ghràdhachadh a chéile;* 36 *agus a' roimh-innseadh do Pheadar gu'n robh e gu esan àicheadh.*

A NIS roimh fhéisd na càisge, air do Iosa fios a bhi aige gu'n robh uair air teachd, anns an rachadh e as an t-saoghal so chum an Athair, air da a mhuinntir féin a bha anns an t-saoghal a ghràdhachadh, ghràdhaich e gu crìch iad.

2 Agus an uair a bha 'n t-suipeir thairis[a], (air do'n diabhol a nis a chur an cridhe Iudais Iscariot, mhic Shimoin, esan a bhrath.)

3 Air aithneachadh do Iosa gu'n d'thug an t-Athair na h-uile nithe 'na làmhaibh, agus gur ann o Dhia a thainig e, agus gur ann a dh'ionnsuidh Dhé a bha e doi,

4 Dh'éirich e o shuipeir, agus chuir e dheth fhallu[?]ing[b], agus ghlac e làmh-anart, agus cheangail e uime e.

5 'Na dhéigh sin, thaom e uisge ann an soitheach-ionnlaid, agus thòisich e air cosan nan deisciobul ionnlad, agus an tiormachadh leis an làmhanart a bha ceangailte uime.

6 An sin thainig e gu Simon Peadar: agus thubhairt esan ris, A Thighearn, am bheil thusa 'g ionnlad mo chosansa?

7 Fhreagair Iosa agus thubhairt e ris, An ni so ta mi deanamh cha 'n aithne dhuits' a nis; ach bithidh fios agad air an déigh so.

8 Thubhairt Peadar ris, Cha nigh thu mo chosansa gu bràth. Fhreagair Iosa e, Mur nigh mi thu, cha 'n'eil cuid agad maille rium.

9 A deir Simon Peadar ris, A Thighearn, ni h-iad mo chosan a

[u] *iomradhne.* [a] *an uair a bha iad 'n an suipeir.* [b] *eudach-uachdair.*

mhàin, ach mar an ceudna mo làmhan agus mo cheann.

10 A deir Iosa ris, An ti a ta air ionnlad, cha 'n'eil feum aige ach a chosan ionnlad, ach tha e gu h-iomlan glan: agus a ta sibhse glan, ach cha 'n'eil *sibh* uile *glan*.

11 Oir bha fhios aige cò a bhrathadh e; uime sin thubhairt e, Cha 'n'eil sibh uile glan.

12 An sin, an déigh dha an cosan ionnlad, agus fhalluing a ghabhail *da ionnsuidh*, shuidh e a ris, agus thubhairt e riu, Am bheil fhios agaibh ciod a rinn mi dhuibh?

13 Tha sibh a' gairm Maighstir, agus Tighearn dhiomsa: agus tha sibh ag ràdh gu maith; oir is mi *sin*.

14 Uime sin ma dh'ionnlaid mise, bhur Tighearn agus bhur Maighstir, bhur cosansa, is còir dhuibhse mar an ceudna cosan a chéile ionnlad.

15 Oir thug mi eisiomplair dhuibh, chum's mar a rinn mise dhuibh, gu'n deanadh sibhse mar an ceudna.

16 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, Cha mhò an t-òglach na mhaighstir, agus cha mhò an teachdaire na 'n ti a chuir uaith e.

17 Ma's aithne dhuibh na nithe so, is beannuichte sibh ma ni sibh iad.

18 Cha 'n'eil mi labhairt oirbh uile; is aithne dhomh cò a thagh mi: ach is éigin an scriobtuir a choimhlionadh, An ti a ta 'g itheadh arain maille rium, thog e a shàil a'm' aghaidh.

19 A nis a deirim so ribh mun d'thig e gu crìch, chum 'nuair a tharlas e, gu'n creid sibh gur mise *e*.

20 Gu deimhin deimhin a deirim ribh, An ti a ghabhas ri neach sam bith a chuireas mise uam, gabhaidh e riumsa: agus an ti a ghabhas riumsa, gabhaidh e ris an ti a chuir uaith mi.

21 Air do Iosa na nithe so ràdh, bha e fuidh thrioblaid 'na spiorad, agus rinn e fianuis, agus thubhairt e, Gu deimhin deimhin a deirim ribh, gu'm brath a h-aon agaibh mise.

22 An sin dh'amhairc na deisciobuil air a chéile, fuidh amharus cia uime a labhair e.

23 A nis bha aon d'a dheisciobluibh 'na luidhe an uchd[c] Iosa, neach a b'ionmhuinn le Iosa.

24 Air an aobhar sin sméid Simon Peadar airsan, gu'm feòraicheadh e cia uime a labhair e.

25 An sin air dhasan aomadh ri uchd Iosa, a deir e ris, A Thighearn, cò e?

26 Fhreagair Iosa, Is e 'n ti sin e, d'an toir mise an greim, an déigh dhomh a thumadh. Agus an uair a thum e 'n greim, thug se e do Iudas Iscariot, *mac* Shimoin.

27 Agus an sin an déigh a' ghreama, chaidh Satan a steach annsan. An sin thubhairt Iosa ris, An ni a ta thu a' deanamh, dean gu grad e.

28 A nis cha do thuig a h-aon diubhsan a bha 'nan suidhe air a' bhord c'ar son a thubhairt e so ris.

29 Oir shaoil cuid diubh, do bhrigh gu'n robh an sporan aig Iudas gu'n dubhairt Iosa ris, Ceannaich *na nithe* a ta dh'uireasbhuidh oirnn chum na féisde: no, gu'n d'thugadh e ni-éigin do na bochdaibh.

30 An sin an déigh dhasan an greim a ghabhail, chaidh e mach air ball; agus bha'n oidhche ann.

31 Uime sin, 'nuair a chaidh esan a mach, thubhairt Iosa, A nis a ta Mac an duine air a ghlòrachadh, agus tha Dia air a ghlòrachadh ann.

32 Ma ta Dia air a ghlòrachadh ann, glòraichidh Dia esan mar an ceudna ann féin, agus air ball glòraichidh se e.

33 A chlann bheag, fathast ùine bheag tha mise maille ribh. Iarraidh sibh mi: agus mar thubhairt mi ris na h-Iudhachaibh, Do'n àit an d'théid mise, cha 'n'eil e 'n comas duibhse teachd; mar sin a deirim ribhse nis.

34 Aithne nuadh bheiream dhuibh, Gu'n gràdhaich sibh a chéile; mar a ghràdhaich mise sibhse, gu'n gràdhaich sibh féin a chéile mar an ceudna.

35 Le so aithnichidh na h-uile dhaoine gur sibh mo dheisciobuilse, ma bhios gràdh agaibh féin d'a chéile.

[c] *ag aomadh ri uchd.*

36 A deir Simon Peadar ris, A
Thighearn, c'àit a théid thu? Fhreag-
air Iosa e, Do'n àit an d'théid mi,
cha'n urradh thusa nis mo leantuinn;
gidheadh leanaidh tu mi 'na dhéigh
so.

37 A deir Peadar ris, A Thigh-
earn, c'ar son nach urradh mi do
leantuinn a nis? Leigidh mi sìos
m'anam air do shon.

38 Fhreagair Iosa e, An leig thu
t'anam sìos air mo shonsa? Gu deimh-
in deimhin a deirim riut, Nach goir
an coileach, gus an àicheadh thu mi
tri uairean.

CAIB. XIV.

1 Tha Criosd a' toirt comh-fhurtachd d'a dheisciobluibh le dòchas fhlaith-eanais: 6 ag innseadh gur e féin an t-slighe, an fhìrinn, agus a' bheatha, agus gur aon e féin agus an t-Athair: 13 a' toirt cinnte gu'm bi'n ùrnuighean 'na ainmsan eifeachdach: &c.

NA biodh bhur cridhe fuidh thriob-
laid[d]: tha sibh a' creidsinn ann
an Dia, creidibh annamsa mar an
ceudna[e].

2 Ann an tigh m'Atharsa tha
iomadh àite-còmhnuidh: mur biodh
e mar sin, dh'innsinnse dhuibh: tha
mi dol a dh'ulluchadh àite dhuibh.

3 Agus ma théid mi agus gu'n
ulluich mi àit dhuibh, thig mi rìs,
agus gabhaidh mi sibh a m' ionnsuidh
féin, chum far am bheil mise, gu'm
bi sibhse mar an ceudna.

4 Agus is aithne dhuibh c'àit am
bheil mi dol, agus is aithne dhuibh
an t-slighe.

5 A deir Tomas ris, A Thighearn,
cha 'n'eil fhios againn c'àit am bheil
thu dol, agus cionnus a dh'fheudas
eòlas na slighe bhi againn?

6 A deir Iosa ris, Is mise an
t-slighe, agus an fhìrinn, agus a'
bheatha: cha d'thig aon neach chum
an Athar ach triomsa.

7 Nam b'aithne dhuibh mise,
b'aithne dhuibh m'Athair mar an
ceudna: agus a so suas is aithne
dhuibh e, agus chunnaic sibh e.

8 A deir Philip ris, A Thighearn
foillsich an t-Athair dhuinne, agus is
leoir leinn e.

9 A deir Iosa ris, Am bheil mise
ùine co fhada maille ribh, agus nach
aithne dhuit fathast mi, Philip? an
ti a chunnaic mise, chunnaic e 'n
t-Athair; agus cionnus a deir thu,
Foillsich an t-Athair dhuinn?

10 Nach 'eil thu creidsinn gu bheil
mise anns an Athair, agus an t-Ath-
air annamsa? na briathran a ta mi
labhairt ribh, cha'n ann uam féin a ta
mi 'gan labhairt: ach an t-Athair, a
ta gabhail còmhnuidh annamsa, tha
esan a' deanamh nan oibre.

11 Creidibh mise gu *bheil* mi anns
an Athair, agus an t-Athair annamsa:
no, creidibh mi air son nan oibre
féin.

12 Gu deimhin deimhin a deirim
ribh, An ti a chreideas annamsa, na
h-oibre a ta mise a' deanamh, ni esan
mar an ceudna, agus ni e *oibre* a's mò
na iad so, do bhrigh gu bheil mise
dol chum m'Athar;

13 Agus ge b'e ni a dh'iarras sibh
a'm' ainmse, ni mise sin: chum's
gu'm bi an t-Athair air a ghlòrachadh
anns a' Mhac.

14 Ma dh'iarras sibh ni air bith
a'm' ainmse, ni mise *e.*

15 Ma's toigh libh mise, coimhid-
ibh m'àitheanta.

16 Agus guidhidh mise an t-Ath-
air, agus bheir e dhuibh Comhfhurt-
air[f] eile, chum's gu fan e maille ribh
gu bràth;

17 Spiorad na fìrinn, neach nach
urrainn an saoghal a ghabhail, do
bhrigh nach 'eil e 'ga fhaicinn, agus
nach aithne dha e: ach is aithne
dhuibhse e, oir tha e fantuinn maille
ribh, agus bithidh e annaibh.

18 Cha'n fhàg mi sibh 'nar dìll-
eachdaibh; thig mi d'ar ionnsuidh.

19 Tamull beag fathast, agus cha'n
fhaic an saoghal mi tuilleadh; ach
chi sibhse mi: do bhrigh gu bheil
mise beo, bithidh sibhse beo mar an
ceudna.

20 Anns an là sin bithidh fios ag-
aibh gu *bheil* mise ann am Athair,

[d] *bhuaireas.* [e] *creidibh ann an Dia, agus creidibh annamsa.*
[f] *Fear-comhfhurtachd, Fear-comhairle, Fear-iuil.*

agus sibhse annamsa, agus mise ann-
aibhse.
21 An ti aig am bheil m'àitheant-
asa, agus a ta 'gan coimhead, is esan
aig am bheil gràdh dhomhsa: agus
an ti aig am bheil gràdh dhomhsa,
gràdhaichear le m'Athair e, agus
gràdhaichidh mise e, agus foillsichidh
mi mi fèin da.
22 A deir Iudas (cha'n e Iscariot)
ris, A Thighearn, c'ar son a dh'fhoill-
sicheas tu thu fèin dhuinne, agus nach
dean thu sin do'n t-saoghal?
23 Fhreagair Iosa agus thubhairt
e ris, Ma ghràdhaicheas neach mise,
coimhididh e m'fhocal: agus gràdh-
aichidh m'Athair esan, agus thig sinn
d'a ionnsuidh, agus ni sinn còmhnuidh
maille ris.
24 An ti nach gràdhaich mise, cha
choimhid e mo bhriathra: agus am
focal a ta sibh a' cluinntinn, cha
leamsa e, ach leis an Athair a chuir
uaith mi.
25 Na nithe so labhair mi ribh, air
dhomh bhi m' chòmhnuidh maille ribh:
26 Ach an Comhfhurtair, an Spior-
ad naomh, a chuireas an t-Athair
uaith a'm' ainmse, teagaisgidh esan
dhuibh na h-uile nithe, agus cuiridh
e 'n cuimhne dhuibh na h-uile nithe
a labhair mise ribh.
27 Tha mi fàgail sìth agaibh, mo
shìths' a ta mi tabhairt duibh: cha'n
ann mar a bheir an saoghal, a tha
mise tabhairt duibh. Na biodh bhur
cridhe fuidh thrioblaid, agus na biodh
eagal air.
28 Chuala sibh mar thubhairt mi
ribh, Tha mi falbh, agus thig mi *ris*
d'ar ionnsuidh. Nam biodh gràdh
agaibh dhomhsa, bhiodh aoibhneas
oirbh, a chionn gu'n dubhairt mi,
Tha mi dol[g] chum an Athar; oir is
mò m'Athair na mise.
29 Agus a nis dh'innis mi dhuibh
so roimh dha teachd gu crìch, chum
'nuair a thig e gu crìch, gu creideadh
sibh.
30 A so suas cha labhair mi mòran
ribh: oir a ta uachdaran an t-saogh-
ail so a' teachd, agus cha 'n'eil ni
air bith aige annamsa.
31 Ach a chum's gu'm bi fios aig
an t-saoghal gur ionmhuinn leam an
t-Athair; agus mar a thug an t-Ath-
air àithne dhomh, mar sin a ta mi a'
deanamh. Eiribh, rachamaid as so.

CAIB XV.

1 *An sòlas a ta aig deisciobluibh Criosd, an gaol agus an coimh-cheangal a ta eadar iad agus esan, fu chosamhlachd fìonain agus a geuga. 18 Comhfhurtachd fuidh fhuath agus gheur-leanmhuinn an t-saogh-ail. 26 Dreuchd an Spioraid naoimh, agus nan abstol.*

IS mise an fhìonain fhìor, agus is
e m'Athair an treabhaiche[h].
2 Gach uile gheug annamsa nach
'eil a' giùlan toraidh, bheir e air falbh:
agus gach uile *gheug* a ta tabhairt
toraidh, glanaidh e i, chum as gu'n
giùlain i tuilleadh toraidh.
3 A nis a ta sibhse glan tre an
fhocal a labhair mi ribh.
4 Fanaibh annamsa, agus mise
annaibhse. Mar nach urrainn a'
gheug toradh a thoirt uaipe[i] fèin,
mur fan i san fhìonain, cha mhò is
urrainn sibhse, mur fan sibh annamsa.
5 Is mise an fhìonain, sibhse na
geuga: an ti a dh'fhanas annamsa,
agus mise annsan, bheir esan mòr
thoradh uaith: oir as m'eugmhais-se
cha'n urradh sibh aon ni a dhean-
amh.
6 Mur fan neach annamsa, tha e
air a thilgeadh a mach mar ghéig,
agus air crìonadh[l]; agus tionailidh
daoine iad, agus tilgidh iad san teine
iad, agus loisgear iad.
7 Ma dh'fhanas sibh annamsa,
agus ma dh'fhanas m'fhocailse ann-
aibhse, iarraidh sibh gach ni a's àill
libh, agus nithear dhuibh e.
8 An so tha m'Athairse air a ghlòr-
achadh, gu'n d'thoir sibhse mòr thor-
adh uaibh; agus bithidh sibh 'nar
deisciobuil dhomhsa.
9 Mar a ghràdhaich an t-Athair
mise, mar sin ghràdhaich mise sibhse:
fanaibh ann am ghràdhsa.
10 Ma choimhideas sibh m'àith-
eanta, fanaidh sibh ann am ghràdh;

[g] *a chionn gu bheil mi dol.* [h] *tuathanach.* [i] *uaithe.*
[l] *mar ghéig a ta e air crìonadh.*

mar a choimhid mise àitheanta m'
Athar, agus a tha mi a' fantuinn 'na
ghràdh.
11 Na nithe so labhair mi ribh,
chum's gu fanadh mo ghairdeachas
annaibh, agus gu'm biodh bhur gaird-
eachas-sa làn.
12 Is i so m'àithnese, gu'n gràdh-
aich sibhse a chèile, mar a ghràdh-
aidh mise sibhse.
13 Gràdh a's mò na so cha 'n'eil
aig neach air bith, gu'n leigeadh
duine anam sìos air son a chairde.
14 Is sibhse mo chairdese, ma ni
sibh gach ni a ta mi 'g àithneadh
dhuibh.
15 A so suas cha ghoir mi seirbh-
isich dhibh; oir cha'n aithne do'n
t-seirbhiseach ciod a ta a Thighearn
a' deanamh: ach ghoir mi cairde
dhibh; oir na h-uile nithe a chuala mi
o m' Athair, thug mi fios duibhse orra.
16 Cha sibhse a thagh mise, ach
is mise a thagh sibhse, agus dh'ord-
uich [m] mi sibh, chum gu'n rachadh
sibh, agus gu'n d'thugadh sibh a
mach toradh, agus gu maireadh bhur
toradh: chum's ge b'e ni a dh'iarras
sibh air an Athair ann am ainmse,
gu'n tabhair e dhuibh e.
17 Tha mi 'g àithneadh nan nithe
so dhuibh, chum's gu'n gràdhaich
sibh a chéile.
18 Ma ta 'n saoghal 'gar fuathach-
adh, tha fhios agaibh gu'n d'fhuath-
aich e mise roimhibh.
19 Nam b'ann do'n t-saoghal sibh,
ghràdhaicheadh an saoghal a chuid
féin: ach do bhrigh nach ann do'n
t-saoghal sibh, ach gu'n do thagh
mise sibh as an t-saoghal, uime sin
tha fuath aig an t-saoghal duibh.
20 Cuimhnichibh am focal a thubh-
airt mi ribh, Cha 'n'eil an seirbhis-
each ni's mò na a Thighearn. Ma
rinn iad geur-leanmhuinn ormsa, ni
iad geur-leanmhuinn oirbhse mar an
ceudna: ma choimhid iad m'fhocal-
sa, coimhididh iad bhur *focalsa* mar
an ceudna.
21 Ach na nithe so uile ni iad
oirbh air son m'ainmese, do bhrigh
nach aithne dhoibh esan a chuir uaith
mi.
22 Mur bithinnse air teachd, agus
air labhairt riu, cha bhiodh peacadh
aca: ach a nis cha 'n'eil leithsgeul
am peacaidh aca.
23 An ti aig am bheil fuath dhomh-
sa, tha fuath aige do m'Athair mar
an ceudna.
24 Mur bithinnse air deanamh nan
oibre 'nam measg nach d'rinn aon
neach eile, cha bhiodh peacadh aca:
ach a nis chunnaic siad *iad*, agus
dh'fhuathaich iad araon mise agus
m'Athair.
25 Ach *rinneadh so* chum gu'n
coimhliontadh am focal a ta scrìobhta
'nan lagh féin, Dh'fhuathaich iad mi
gun aobhar.
26 Ach an uair a thig an Comh-
fhurtair, a chuireas mise d'ar ionn-
suidh o'n Athair, Spiorad na fìrinn,
a tha teachd a mach o'n Athair, ni
esan fianuis mu m' thimchiollsa.
27 Agus ni sibhse fianuis mar an
ceudna, do bhrigh gu bheil sibh maille
rium o thùs.

CAIB. XVI.

1 *Tha Criosd a' toirt comhfhurtachd d' a dheisciobluibh an aghaidh triob-laid le gealladh an Spioraid naoimh, agus aiseirigh agus a dhol suas air nèamh; 23 a' toirt cinnte dhoibh gu'm bi na h-ùrnuighean a nithear 'na ainmsan taitneach d'a Athair, &c.*

1 NA nithe so labhair mi ribh, chum
nach faigheadh [n] sibh oilbheum.
2 Cuiridh iad as an t-sionagog
sibh: seadh, thig an uair, ge b'e
neach a mharbhas sibh, gu'n saoil e
gu bheil e deanamh seirbhis do Dhia.
3 Agus ni iad na nithe so [o], do
bhrigh nach aithne dhoibh an t-Ath-
air, no mise.
4 Ach dh'innis mi na nithe so
dhuibh, chum 'nuair a thig an t-àm,
gu'n cuimhnich sibh gu'n d'innis mi
dhuibh iad. Ach cha dubhairt mi na
nithe so ribh o thùs, do bhrigh gu'n
robh mi maille ribh.
5 Ach a nis a ta mi dol chum an
ti a chuir uaith mi, agus cha 'n'eil a
h-aon agaibhs' a' feòraich dhiom,
C'àit tha thu dol?

[m] *shuidhich, shonraich.* [n] *gabhadh.* [o] *na nithe so* [*dhuibh.*]

6 Ach a chionn gu'n dubhairt mi
na nithe so ribh, lìon do-bròn bhur
cridhe.
7 Gidheadh a ta mi 'g innseadh
dhuibh na fìrinn, Is buannachd
dhuibh mise a dh'fhalbh: oir mur
falbh mi, cha d'thig an Comhfhurtair
d'ar ionnsuidhse; ach ma dh'fhalbhas
mi, cuiridh mi esan d'ar ionnsuidh.
8 Agus an uair a thig esan, bheir
e dearbh-shoilleireachd do'n t-saoghal
mu pheacadh, agus mu fhìreantachd,
agus mu bhreitheanas:
9 Mu pheacadh, do bhrigh nach
'eil iad a 'creidsinn annamsa;
10 Mu fhìreantachd, do bhrigh
gu bheil mi dol a dh'ionnsuidh
m'Athar, agus nach faic sibh ni's mò
mi;
11 Mu bhreitheanas, a chionn gu
bheil uachdaran an t-saoghail so air a
dhìteadh.
12 Tha mòran nithe agam fathast
ri ràdh ribh, ach cha'n urradh sibh
an giùlan an tràthsa.
13 Ach an uair a thig esan, Spior-
ad na fìrinn, treòraichidh e sibh chum
gach uile fhìrinn: oir cha labhair e
uaith féin; ach labhraidh e na h-uile
nithe a chluinneas e: agus foillsich-
idh e dhuibhse nithe a ta ri teachd.
14 Bheir esan glòir dhomhsa: oir
gheibh e do m' chuidse, agus nochd-
aidh e dhuibhse *e*.
15 Na h-uile nithe a ta aig an
Athair, is leamsa iad: air an aobhar
so thubhairt mi, gu'm faigh e do m'
chuidse, agus nochdaidh e dhuibhse
e.
16 Tamull beag agus cha'n fhaic
sibh mi; agus a rìs, tamull beag agus
chi sibh mi, do bhrigh gu bheil mi dol
chum an Athar.
17 An sin thubhairt *cuid* d'a dheis-
ciobluibh eatorra féin, Ciod e so a
deir e ruinn, Tamull beag agus cha'n
fhaic sibh mi; agus a rìs, tamull
beag agus chi sibh mi: agus, Do
bhrigh gu bheil mi dol chum an Ath-
ar?
18 Air an aobhar sin thubhairt iad,
Ciod e so a deir e, Tamull beag?
Cha 'n'eil sinne a' tuigsinn ciod a
deir e.
19 A nis dh'aithnich Iosa gu'n
robh toil aca fheòraich dheth, agus
thubhairt e riu, Am bheil sibh a' feòr-
aich 'nar measg féin mar a thubhairt
mi, Tamull beag agus cha'n fhaic
sibh mi: agus a rìs, tamull beag agus
chi sibh mi?
20 Gu deimhin deimhin a deirim
ribh, gu'n dean sibhse gul agus caoidh,
ach ni'n saoghal gairdeachas: agus
bithidh sibhse do-brònach, ach pillear
bhur bròn gu gairdeachas.
21 'Nuair a bhios bean ri saothair-
chloinne, bithidh i fa dhoilgheas,
chionn gu bheil a h-uair air teachd:
ach an uair a bheireas i 'n leanabh,
cha chuimhnich i a h-àmhghar ni 's
mò, tre aoibhneas gu'n d'rugadh
duine chum an t-saoghail.
22 Agus a ta nis uime sin doil-
gheas oirbhse: ach chi mise a rìs sibh,
agus ni bhur cridhe gairdeachas, agus
bhur gairdeachas cha bhuin neach air
bith uaibh.
23 Agus air an là sin cha'n fheòr-
aich sibh ni air bith dhiomsa[p]: Gu
deimhin deimhin a deirim ribh, Ge
b'e nithe dh'iarras sibh air an Athair
ann am ainmse, gu'n tabhair e dhuibh
iad.
24 Gus a so cha d'iarr sibh ni air
bith a'm' ainmse: iarraibh, agus
gheibh sibh, chum as gu'm bi bhur
n-aoibhneas làn[r].
25 Na nithe so labhair mi ribh am
briathraibh dorcha[s]: ach thig an uair
anns nach labhair mi ni's mò ribh am
briathraibh dorcha, ach innsidh mi
gu soilleir mu'n Athair dhuibh.
26 Anns an là sin iarraidh sibh
a'm' ainmse: agus cha 'n'eil mi 'g
ràdh ribh, gu'n guidh mi an t-Athair
air bhur son:
27 Oir is toigh leis an Athair féin
sibh, air son gu'n d'thug sibh gràdh
dhomhsa, agus gu'n do chreid sibh
gur ann o Dhia a thainig mi.
28 Thainig mi mach o'n Athair,
agus tha mi air teachd chum an
t-saoghail: a rìs, tha mi fàgail an
t-saoghail, agus a' dol chum an Ath-
ar.
29 A deir a dheisciobuil ris, Feuch,
a nis tha thu labhairt gu soilleir, agus

[p] *cha'n iarr sibh ni air bith ormsa.* [r] *coimhlionta.* [s] *an comhadaibh.*

cha 'n'eil thu labhairt cosamhlachd
air bith.
30 A nis tha fhios againn gur aith-
ne dhuit na h-uile nithe, agus nach
feum thu duine air bith a dh'fheòr-
aich dhiot: air a shon so tha sinn a'
creidsinn gur ann o Dhia a thainig
thu.
31 Fhreagair Iosa iad, Am bheil
sibh a nis a' creidsinn?
32 Feuch, thig an t-àm[t], seadh,
tha e cheana air teachd, anns an sgap-
ar o chéile sibh, gach aon g'a ionad
féin, agus am fàg sibh mise a'm' aon-
ar: gidheadh cha 'n'eil mise a'm'
aonar, oir tha an t-Athair maille
rium.
33 Na nithe so labhair mi ribh,
chum gu'm biodh sìth agaibh annam-
sa. Anns an t-saoghal bithidh àmh-
ghar agaibh: ach biodh deadh mhis-
neach agaibh, thug mise buaidh air
an t-saoghal.

CAIB. XVII.

1 *Tha Criosd a' deanamh ùrnuigh r'a Athair esan a ghlòrachadh,* 6 *gu'n coimhideadh e abstoil,* 11 *ann an aonachd,* 17 *agus anns an fhìrinn; &c.*

LABHAIR Iosa na briathra so;
agus thog e suas a shùilean gu
nèamh, agus thubhairt e, Athair,
thainig an uair; glòraich do Mhac,
chum's gu'n glòraich do Mhac thusa
mar an ceudna;
2 Chum mar a thug thu cumhachd
dha air gach feoil, na h-uile a thug
thu dha, gu'n d'thugadh esan dhoibh
a' bheatha mhaireannach.
3 Agus is i so a' bheatha mhair-
eannach, eòlas a bhi aca ortsa an t-aon
Dia fìor, agus air Iosa Criosd a chuir
thu uait.
4 Ghlòraich mise thusa air talamh:
chrìochnaich mi 'n obair a thug thu
dhomh r'a dheanamh.
5 Agus a nis, Athair, glòraich
thusa mise maille riut féin[u], leis a'
ghlòir a bha agam maille riut mun
robh an saoghal ann.
6 Dh'fhoillsich mise t'ainm do na
daoinibh a thug thu dhomh as an
t-saoghal: bu leatsa iad, agus thug
thu dhomhsa iad; agus choimhid iad
t'fhocal.
7 A nis thuig iad gur ann uait a
tha na h-uile nithe, a thug thu dhomh-
sa.
8 Oir thug mi dhoibh na briath-
ran a thug thusa dhomh; agus ghabh
siad iad, agus thuig iad gu fìrinneach
gur ann uaitse thainig mi, agus chreid
iad gu'n do chuir thu uait mi.
9 Air an sonsan tha mi guidh-
eadh: cha 'n'eil mi guidheadh air
son an t-saoghail, ach air son na
muinntir sin a thug thu dhomh, oir
is leatsa iad.
10 Agus is leatsa na h-uile nithe
a's leamsa, agus is leamsa na nithe
a's leatsa, agus a ta mi air mo ghlòr-
achadh annta.
11 Agus a nis cha 'n'eil mise ni 's
mò anns an t-saoghal, ach a ta iadsan
san t-saoghal, agus a ta mise a' teachd
a't'ionnsuidhsa. Athair naomha,
coimhid iadsan tre t'ainm[a], a thug
thu dhomhsa, chum's gu'm bi iad
'nan aon, mar *a ta* sinne.
12 Am feadh 's a bha mise maille
riu anns an t-saoghal, choimhid mi
iad tre t'ainmsa: ghleidh mi a'
mhuinntir a thug thu dhomh, agus
cha do chailleadh a h-aon diubh, ach
mac an sgrios; chum gu biodh an
scriobtuir air a choimhlionadh.
13 Agus a nis tha mi teachd
a'd'ionnsuidhsa, agus tha mi labhairt
nan nithe so anns an t-saoghal, chum
gu'm biodh mo ghairdeachas aca air
a choimhlionadh annta.
14 Thug mi t'fhocal dhoibh; agus
thug an saoghal fuath dhoibh, air son
nach ann do'n t-saoghal iad, mar
nach 'eil mise do'n t-saoghal.
15 Cha 'n'eil mi guidheadh gu'n
d'thugadh tu as an t-saoghal iad, ach
gu'n coimhideadh tu o'n olc iad.
16 Cha 'n'eil iadsan do'n t-saoghal,
mar nach 'eil mise do'n t-saoghal.
17 Naomhaich iad tre'n fhìrinn[b]:
is e t'fhocalsa an fhìrinn.
18 Mar a chuir thusa mise chum
an t-saoghail, mar sin chuir mise iad-
san chum an t-saoghail.
19 Agus air an sonsan tha mise
gam' naomhachadh féin, chum's gu'm

[t] *an uair.* [u] *a't' fhianuis.* [a] *ann ad ainm.* [b] *tre t'fhìrinn.*

bi iadsan mar an ceudna air an naomhachadh tre'n fhìrinn.

20 Agus cha 'n'eil mi guidheadh air an sonsan a mhàin, ach mar an ceudna air son na muinntir sin a chreideas annamsa tre am focalsan :

21 Chum's gu'm bi iad uile 'nan aon; chum mar *a ta* thusa, Athair, annamsa, agus mise annadsa, gu'm bi iadsan mar an ceudna 'nan aon annainne; chum's gu'n creid an saoghal gu'n do chuir thusa uait mi.

22 Agus thug mise dhoibhsan a' ghlòir a thug thusa dhomhsa, chum's gu'm bi iad 'nan aon, mar a ta sinne 'nar aon ;

23 Mise anntasan, agus thusa annamsa, chum's gu'n deanar coimhlionta iad ann an aon, agus a chum gu'm bi fios aig an t-saoghal gu'n do chuir thusa uait mi, agus gu'n do ghràdhaich thu iadsan, mar a ghràdhaich thu mise.

24 Athair, is àill leam an dream a thug thu dhomh, gu'm bi iad maille rium, far am bheil mi; chum's gu faic iad mo ghlòir a thug thu dhomh : oir ghràdhaich thusa mi mun do leagadh bunaite an domhain.

25 Athair chothromaich, cha b'aithne do'n t-saoghal thusa; ach b'aithne dhomhsa thu, agus thuig iad so gu'n do chuir thusa uait mi.

26 Agus dh'fhoillsich mise t'ainm dhoibh, agus foillsichidh mi *e*, chum's gu'm bi an gràdh leis an do ghràdhaich thu mise, anntasan, agus mise annta.

CAIB. XVIII.

1 *Tha Iudas a' brath Iosa.* 6 *Tha na maoir a' tuiteam air an talamh.* 10 *Tha Peadar a' gearradh cluais Mhalchuis dheth.* 12 *Tha Iosa air a ghlacadh, agus air a thoirt gu Annas agus Caiaphas.* 15 *Aicheadh Pheadair ; &c.*

NUAIR a labhair Iosa na briathra so, chaidh e maille r'a dheisciobluibh thairis air sruth Chedroin, far an robh lios, anns an deachaidh e féin agus a dheisciobuil.

2 Agus b'aithne do Iudas, a bhrath esan, an t-àit: oir thainig Iosa gu tric an sin maille r'a dheisciobluibh.

3 An sin air do Iudas buidheann agus maoir fhaotainn o na h-àrd shagairt agus na Phairisich, thainig e do'n àit sin le leusaibh, agus lòchrannaibh, agus armaibh.

4 Uime sin air do Iosa fios a bhi aige air na h-uile nithibh a bha gu teachd air, chaidh e mach, agus thubhairt e riu, Cò tha sibh ag iarraidh ?

5 Fhreagair iadsan e, Iosa o Nasaret. A deir Iosa riu, Is mise *e*. Agus sheas mar an ceudna Iudas, a bhrath esan, maille riu.

6 An sin co luath 's a thubhairt e riu, Is mise e, chaidh iad air an ais, agus thuit iad air an làr.

7 An sin dh'fheòraich e dhiubh a rìs, Cò tha sibh ag iarraidh ? Thubhairt iadsan, Iosa o Nasaret.

8 Fhreagair Iosa, Thubhairt mi ribh gur mise e. Uime sin ma's mise tha sibh ag iarraidh, leigibh leo sin falbh :

9 Chum gu'n coimhliontadh am focal a labhair e, An dream a thug thu dhomh, cha do chaill mi aon diubh.

10 An sin air do Shimon Peadar claidheamh a bhi aige, tharruing se e, agus bhuail e òglach an àrd shagairt, agus ghearr e a' chluas dheas deth. Agus b'e ainm an òglaich Malchus.

11 An sin thubhairt Iosa ri Peadar, Cuir do chlaidheamh san truaill ; an cupan a thug m'Athair dhomhsa, nach òl mi e ?

12 An sin rug a' bhuidheann, agus an ceannard, agus maoir nan Iudhach air Iosa, agus cheangail iad e.

13 Agus thug iad leo e air tùs gu Annas (oir b'esan athair-céile Chaiaphais, a bha 'na àrd shagart air a' bhliadhna sin.)

14 A nis b'e Caiaphas a thug comhairle do na h-Iudhachaibh, gu'm b'iomchuidh gu'm faigheadh aon duine bàs air son an t-sluaigh.

15 Agus lean Simon Peadar agus deisciobul eile Iosa. B'aithne do'n àrd shagart an deisciobul sin, agus

[c] *gàradh.*

chaidh e steach maille ri h-Iosa do
chùirt an àrd shagairt.
16 Ach sheas Peadar aig an dorus
an leth muigh. Uime sin chaidh an
deisciobul sin eile a b'aithne do'n àrd
shagart a mach, agus labhair e ris a'
bhan-dorsair, agus thug e Peadar a
steach.
17 An sin thubhairt a' bhan-oglach
a bha gleidheadh an doruis ri Pead-
ar, Nach ann do dheisciobluibh an
duine so thusa mar an ceudna?
thubhairt esan, Cha'n ann.
18 Agus bha na seirbhisich agus
na maoir 'nan seasamh, air dhoibh
teine guail a chur suas, oir bha'm
fuachd ann, agus bha iad 'gan gar-
adh féin: agus bha Peadar 'na sheas-
amh maille riu, agus 'ga gharadh
féin.
19 An sin dh'fhiosraich an t-àrd
shagart do Iosa mu thimchioll a
theagaisg.
20 Fhreagair Iosa e, Labhair mise
os àird ris an t-saoghal; theagaisg mi
a ghnàth anns an t-sionagog, agus
anns an teampull, far am bheil na
h-Iudhaich a' cruinneachadh as gach
àit, agus am folach cha do labhair mi
ni air bith.
21 C'ar son a ta thu fiosrachadh
dhiomsa? Fiosraich dhiubhsan a
chuala, ciod a thubhairt mi riu: feuch,
a ta fhios acasan ciod a thubhairt
mi.
22 Agus an uair a thubhairt e na
nithe so, bhuail aon do na maoraibh,
a bha 'na sheasamh a làthair, a bhas
air Iosa, ag ràdh, An ann mar so a
fhreagras tu an t-àrd shagart?
23 Fhreagair Iosa e, Ma labhair
mi gu h-olc, dean fianuis air an olc:
ach ma's ann gu maith, c'ar son a ta
thu ga m' bhualadh?
24 (A nis chuir Annas e ceangailte
gu Caiaphas an t-àrd shagart.)
25 Agus bha Simon Peadar 'na
sheasamh agus 'ga gharadh: Uime
sin thubhairt iad ris, Nach aon d'a
dheisciobluibh thusa mar an ceudna?
Dh'àicheadh esan, agus thubhairt e,
Cha mhi.
26 Thubhairt aon do sheirbhisich
an àrd shagairt, (caraid do'n fhear
do'n ghearr Peadar a chluas,) Nach
faca mise thu san lios maille ris?
27 An sin dh'àicheadh Peadar a
rìs, agus air ball ghoir an coileach.
28 An sin thug iad Iósa o
Chaiaphas gu àit a' bhreitheanais:
agus b'i mhaduinn a bh'ann, agus
cha deachaidh iad féin do àit a'
bhreitheanais, chum's nach biodh iad
air an salachadh; ach gu'n itheadh
iad a' chàisg.
29 An sin chaidh Pilat a mach
d'an ionnsuidhsan, agus thubhairt e,
Ciod a' chasaid a tha sibh a' toirt an
aghaidh an duine so?
30 Fhreagair iadsan agus thubhairt
iad ris, Mur b'fhear droch-bheirt e,
cha d'thugamaid thairis dhuitse e.
31 An sin thubhairt Pilat riu,
Gabhaibhse e, agus thugaibh breth
air a réir bhur lagha féin. An sin
thubhairt na h-Iudhaich ris, Cha
'n'eil e ceaduichte dhuinne neach air
bith a chur gu bàs:
32 Chum gu'm biodh focal Iosa
air a choimhlionadh, a labhair e, a'
ciallachadh ciod a ghnè bàis a bha e
gu fhaotainn.
33 An sin chaidh Pilat a steach a
rìs do àit a' bhreitheanais, agus
ghairm e Iosa, agus thubhairt e ris,
An tusa Righ nan Iudhach?
34 Fhreagair Iosa e, Am bheil thu
'g ràdh so uait féin, no an d'innis
daoin' eile dhuit e a m' thimchiollsa?
35 Fhreagair Pilat, An Iudhach
mise? Thug do chinneach féin, agus
na h-àrd shagairt thairis dhomhsa
thu: ciod a rinn thu?
36 Fhreagair Iosa, Cha'n ann
do'n t-saoghalsa tha mo rioghachdsa:
nam b'ann do'n t-saoghalsa bhiodh
mo rioghachd, dheanadh mo sheirbh-
isich cogadh, chum nach d'thugta
thairis do na h-Iudhachaibh mi: ach
a nis cha n ann o so a ta mo riogh-
achd.
37 Air an aobhar sin thubhairt
Pilat ris, An righ thu ma seadh?
Fhreagair Iosa, A deir thusa gur
righ mi. 'S ann chum na crìche so
a rugadh mi, agus chum na crìche so
thainig mi do'n t-saoghal, chum's
gu'n deanainn fianuis do'n fhìrinn.
Gach neach a ta air taobh na fìrinn,
éisdidh e ri m' ghuthsa.
38 Thubhairt Pilat ris, Ciod i an
fhìrinn? Agus air dha so a ràdh,

chaidh e mach a rìs chum nan Iudh-
ach, agus a deir e riu, Cha 'n'eil mise
a' faotainn coire air bith ann.
39 Ach a ta gnàth agaibhse, gu'n
leiginn as duine dhuibh air a' chàisg:
uime sin an àill libh mi a leigeadh
rìgh nan Iudhach fa sgaoil duibh?
40 An sin ghlaodh iadsan uile[d],
ag ràdh, Cha'n e an duine so, ach
Barabas. A nis b'fhear-reubainn
Barabas.

CAIB. XIX.

1 Tha Criosd air a sgiùrsadh, air a chrùnadh le droighinn, agus air a bhualadh. 4 Tha Pilat togarrach a leigeadh fa sgaoil, ach air dha bhi air aomadh le gàraich nan Iudhach, thug e thairis e gu bhi air a cheusadh. 23 Tha iad a' tilgeadh chrann air eudach: 26 Tha e ag earbsadh a mhàthar ri Eoin: 28 A' faghail a' bhàis: &c.

AN sin air an aobhar sin ghlac
Pilat Iosa, agus sgiùrs se e.
2 Agus dh'fhigh na saighdearan
crùn droighinn, agus chuir iad air a
cheann e, agus chuir iad falluing
phurpuir[e] uime,
3 Agus thubhairt iad, Fàilt' ort,
a rìgh nan Iudhach: agus bhuail iad
le'm basaibh e.
4 An sin chaidh Pilat a mach a rìs,
agus a deir e riu, Feuch, a ta mise
'ga thoirt a mach d'ar ionnsuidh,
chum's gu'm bi fios agaibh nach 'eil
mise faotainn coire sam bith ann.
5 An sin thainig Iosa mach, agus
an crùn droighinn air, agus an fhall-
uing phurpuir uime. Agus a deir
Pilat riu, Feuch an duine.
6 Uime sin an uair a chunnaic na
h-àrd shagairt agus na maoir e,
ghlaodh iad, ag ràdh, Ceus *e*, ceus *e*.
A deir Pilat riu, Gabhaibhse e, agus
ceusaibh *e*: oir cha 'n'eil mise a'
faotainn coire sam bith ann.
7 Fhreagair na h-Iudhaich e, Tha
lagh againne, agus a réir ar laghane
is còir a chur gu bàs, air son gu'n
d'rinn e Mac Dhé dheth féin.
8 Uime sin an uair a chuala Pilat
a' chainnt sin, bu mhòid a bha dh'eag-
al air;
9 Agus chaidh e steach a rìs a
dh'àit a' bhreitheanais, agus a deir e
ri h-Iosa, Cia as duit? ach cha d'thug
Iosa freagradh air.
10 An sin a deir Pilat ris, Nach
labhair thu riumsa? nach 'eil fhios
agad gu bheil cumhachd agamsa do
cheusadh, agus gu bheil cumhachd
agam do chur fa sgaoil?
11 Fhreagair Iosa, Cha bhiodh
cumhachd air bith agad a'm' agh-
aidhse, mur d'thugta dhuit o'n àird
e: air an aobhar sin an ti a thug mise
thairis dhuit, tha aige-san am peacadh
a's mò.
12 Agus o sin suas dh'iarr Pilat
a chur fa sgaoil: ach ghlaodh na
h-Iudhaich, ag ràdh, Ma leigeas tu
'm fear so fa sgaoil, cha charaid do
Cheasar thu: ge b'e neach a ta 'ga
dheanamh féin 'na rìgh, tha e labh-
airt an aghaidh Cheasair.
13 Uime sin an uair a chuala Pil-
at a' chainnt sin, thug e mach Iosa,
agus shuidh e air a' chaithir-bhreith-
eanais, anns an ionad d'an goirear an
Leac-ùrlar, ach anns an Eabhra[f],
Gabata.
14 Agus b'e là-ulluchaidh na
càisge e, agus mu thimchioll na
seathadh uaire: agus a deir e ris na
h-Iudhachaibh, Feuch bhur rìgh.
15 Ach ghlaodh iadsan a mach,
Beir uainn, beir uainn, ceus e. A
deir Pilat riu, An ceus mi bhur
rìghse? Fhreagair na h-àrd shagairt,
Cha 'n'eil rìgh againne ach Ceasar.
16 An sin air an aobhar sin thug e
thairis dhoibh e, gu bhi air a cheus-
adh. Agus ghlac iad Iosa, agus thug
iad leo e.
17 Agus chaidh e mach, a' giùlan
a chrann-ceusaidh, do'n ionad d'an
goirear *àit* a' chloiginn, d'an ainm
san Eabhra, Golgòta.
18 An sin cheus iad e, agus dithis
eile maille ris, fear air gach taobh,
agus Iosa sa' mheadhon.
19 Agus scrìobh Pilat mar an
ceudna tiodal, agus chuir e air a'
chrann-cheusaidh e. Agus b'e an
scrìobhadh, IOSA O NASARET
RIGH NAN IUDHACH.
20 Uime sin leugh mòran do na

[d] *uile* [*a rìs.*] [e] *chorcuir.* [f] *Eabhrais.*

h-Iudhachaibh an tiodal so: oir bha'n t-àit anns an do cheusadh Iosa fagus do'n bhaile: agus bha an scrìobhadh an Eabhra, an Greugais, agus an Laidin.

21 An sin thubhairt àrd shagairt nan Iudhach ri Pilat, Na scrìobh, Righ nan Iudhach; ach gu'n dubhairt e féin, Is mi righ nan Iudhach.

22 Fhreagair Pilat, An ni a scrìobh mi, scrìobh mi e.

23 An sin an uair a cheus na saighdearan Iosa, ghlac iad a thruscan (agus rinn iad ceithir earrannan, earrann do gach saighdear) agus *a* chòta mar an ceudna: agus bha'n còta gun fhuaigheal, air fhigheadh o bhràigh sìos gu h-iomlan.

24 Thubhairt iad uime sin eatorra féin, Na reubamaid e, ach tilgeamaid croinn air, cò aig a bhitheas e: chum gu'n coimhliontadh an scriobtuir, a deir, Roinn iad mo thruscan eatorra, agus thilg iad croinn air mo bhrat. Air an aobhar sin rinn na saigdearan na nithe so.

25 A nis sheas làimh ri crannceusaidh Iosa, a mhàthair agus piuthar a mhàthar, Muire *bean* Chleophais, agus Muire Magdalen.

26 Uime sin an uair a chunnaic Iosa a mhàthair, agus an deisciobul a b'ionmhuinn leis 'na sheasamh a làthair, thubhairt e r'a mhàthair, A bhean, feuch do mhac.

27 An sin a deir e ris an deisciobul, Feuch do mhàthair. Agus o'n àm sin a mach thug an deisciobul *sin* leis i d'a thigh féin.

28 An déigh so air do Iosa fios a bhi aige gu'n robh na h-uile nithe a nis air an crìochnachadh, chum gu'n coimhliontadh an scriobtuir, a deir e, Tha tart orm.

29 A nis bha an sin soitheach làn do fhìon geur: agus air dhoibhsan spong a lìonadh do'n fhìon gheur, agus a chur air hisop, shìn iad chum a bheoil e.

30 An sin an uair a ghabh Iosa am fìon geur, thubhairt e, Tha e crìochnaichte: agus air cromadh a chinn da, thug e suas *a* spiorad.

31 An sin chum nach fanadh an cuirp air a' chrann-cheusaidh air an t-sàbaid, a chionn gu'm b'*e* là an ulluchaidh a bha ann (oir bu latha mòr an latha sàbaid sin) dh'iarr na h-Iudhaich air Pilat gu'n rachadh an luirgne a bhriseadh, agus gu'n d'thugtadh air falbh iad.

32 An sin thainig na saighdearan, agus bhris iad luirgne a' cheud fhir, agus luirgne an fhir eile, a cheusadh maille ris.

33 Ach air dhoibh teachd chum Iosa, an uair a chunnaic iad gu'n robh e cheana marbh, cha do bhris iad a luirgnesan.

34 Ach lot fear do na saighdearaibh a thaobh le sleagh, agus air ball thainig a mach fuil agus uisge.

35 Agus thug an ti a chunnaic *sin* fianuis, agus a ta fhianuis fìrinneach: agus a ta fhios aige gu bheil e labhairt na fìrinn, chum gu'n creideadh sibhse.

36 Oir rinneadh na nithe so chum gu'n coimhliontadh an scriobtuir, Cha bhrisear cnàimh dheth.

37 Agus a rìs a deir scriobtuir eile, Amhaircidh iad airsan a lot iad[g].

38 'Na dhéigh so, dh'iarr Ioseph o Arimatea (a bha 'na dheisciobul aig Iosa, ach am folach air eagal nan Iudhach) air Pilat comas corp Iosa a thoirt leis: agus leig Pilat *sin* leis: Thainig e air an aobhar *sin*, agus thug e leis corp Iosa.

39 Thainig mar an ceudna Nicodemus (a thainig air tùs gu Iosa san oidhche) agus thug e leis mu thimchioll ceud pund do mhirr agus do aloes air am measgadh feadh a chéile.

40 An sin ghabh iad corp Iosa, agus cheangail[h] iad e ann an lìoneudaichibh, maille ris an spìosraidh[i], mar is gnàth leis na h-Iudhachaibh adhlac a dheanamh[l].

41 A nis bha lios anns an àit an do cheusadh e; agus anns an lios uaigh nuadh, anns nach do chuireadh aon duine riamh.

42 Air an aobhar sin air son ulluchaidh *càisge* nan Iudhach, do bhrigh gu'n robh an uaigh am fagus, chuir iad Iosa an sin.

[g] *shàth iad trid.* [h] *phaisg.* [i] *maille ris na luibhibh cùbhraidh.*
[l] *spìosraidh chur air corp; embalm.* Sasg.

CAIB. XX.

1 Tha Muire teachd a chum na h-uaighe; 3 agus Peadar agus Eoin, agus iad gun fhios aca air aiseirigh-san. 11 Dh'fhoillsicheadh Criosd do Mhuire Magdalen, 19 agus d'a dheisciobluibh. 24 Mi-chreidimh agus aidmheil Thomais, &c.

AIR a' cheud là do'n t-seachduin thainig Muire Magdalen gu moch, agus an dorchadas fathast ann, chum na h-uaighe, agus chunnaic i a' chlach air a togail o'n uaigh.

2 Ruith i an sin, agus thainig i gu Simon Peadar, agus gus an deisciobul eile a b'ionmhuinn le h-Iosa, agus a deir i riu, Thug iad leo an Tighearn as an uaigh, agus cha 'n'eil fhios againn c'àit an do chuir iad e.

3 Uime sin chaidh Peadar a mach, agus an deisciobul sin eile, agus thainig iad chum na h-uaighe.

4 Agus ruith iad 'nan dithis maraon: agus ruith an deisciobul eile ni bu luaithe na Peadar, agus thainig e air tùs chum na h-uaighe.

5 Agus air cromadh sìos da, chunnaic e 'n lìon-eudach 'na luidhe; gidheadh cha deachaidh e steach.

6 An sin thainig Simon Peadar 'ga leantuinn, agus chaidh e steach do'n uaigh [m], agus chunnaic e 'n lìon-eudach 'na luidhe;

7 Agus an neapaicin a bha m'a cheann, cha'n ann 'na luidhe maille ris an lion-eudach, ach air leth air fhilleadh ann an aon àit.

8 An sin chaidh a steach mar an ceudna an deisciobul sin eile a thainig air tùs chum na h-uaighe, agus chunnaic, agus chreid e.

9 Oir cha do thuig iad fathast an sgriobtuir, gu'm b'éigin gu'n éireadh esan a rìs o na marbhaibh.

10 An sin dh'imich na deisciobuil a rìs chum an cuideachd féin.

11 Ach sheas Muire aig an uaigh a muigh, a' gul: agus ag gul dith, chrom i sìos, *ag amharc* a steach do'n uaigh,

12 Agus chunnaic i dà aingeal ann an *culaidhibh* geala, 'nan suidhe, fear aig a' cheann, agus fear aig na cosaibh, san àit an robh corp Iosa 'na luidhe;

13 Agus a deir iadsan rithe, A bhean, c'ar son a ta thu gul? A deir i riu, Air son gu'n d'thug iad mo Thighearn leo, agus nach 'eil fhios agam c'àit an do chuir iad e.

14 Agus an uair a thubhairt i so, phill i air a h-ais, agus chunnaic i Iosa 'na sheasamh, agus cha d'aithnich i gu'm b'e Iosa bha ann.

15 A deir Iosa rithe, A bhean, c'ar son a ta thu gul? cò ta thu 'g iarraidh? air saoilsinn d'ise gu'm b'e an gàradair a bh'ann, a deir i ris, A thighearn, ma thug thusa leat e, innis dhomhsa c'àit an do chuir thu e, agus bheir mise leam e.

16 A deir Iosa rithe, A Mhuire. Air tionndadh dh'ise, thubhairt i ris, Rabboni, 'se sin r'a ràdh, A Mhaighstir.

17 A deir Iosa rithe, Na bean rium: oir cha deachaidh mi fathast suas chum m' Athar: ach imich chum mo bhràithre, agus abair riu, Tha mise dol suas chum m' Athar féin agus bhur n-Athar-sa, agus *chum* mo Dhé féin agus bhur Dé-se.

18 Thainig Muire Magdalen agus dh'innis i do na deisciobluibh, gu'm fac i 'n Tighearn, agus gu'n dubhairt e na nithe so rithe.

19 Agus air teachd do'n fheasgar an là sin féin, air a' cheud *là* do'n t-seachduin, agus na dorsa dùinte far an robh na deisciobuil cruinn air eagal nan Iudhach, thainig Iosa agus sheas e sa' mheadhon, agus a deir e riu, Sìth dhuibh.

20 Agus air dha so a ràdh, nochd e dhoibh a làmhan agus a thaobh. An sin bha aoibhneas air na deisciobluibh an uair a chunnaic iad an Tighearn.

21 An sin thubhairt Iosa riu a rìs, Sìth dhuibh: mar a chuir an t-Athair uaith mise, mar sin a ta mise 'gar cursa uam.

22 Agus air dha so a ràdh, shéid e orra, agus a deir e riu, Gabhaibh-se an Spiorad naomh.

* 23 Cò air bith iad d'am maith sibh am peacaidh, tha iad maithte dhoibh; *agus* cò air bith iad d'an cum sibh am

[m] *ait-adhlacaidh.*

peacaidh gun am maitheamh, tha iad
air an cumail.
24 Ach cha robh Tomas, aon do'n
dà fhear dheug, d'an goirear Didi-
mus, maille ríu 'nuair a thainig Iosa.
25 Uime sin thubhairt na deisciob-
uil eile ris, Chunnaic sinne an Tigh-
earn. Ach thubhairt esan riu, Mur
faic mise aileadh[n] nan tairngean 'na
làmhaibh, agus mur cuir mi mo
mheur ann an aileadh nan tairngean,
agus mur cuir mi mo làmh 'na
thaobh, cha chreid mi.
26 Agus an ceann ochd làithean
'na dhéigh sin, bha a dheisciobuil a
rìs a stigh, agus Tomas maille riu:
thainig Iosa, agus na dorsa dùinte,
agus sheas e sa' mheadhon, agus
thubhairt e, Sìth dhuibh.
27 'Na dhéigh sin a deir e ri To-
mas, Cuir an so do mheur, agus feuch
mo làmhan; agus sìn an so do làmh,
agus cuir a'm' thaobh i: agus na bi
mi-chreideach, ach creideach.
28 Agus fhreagair Tomas, agus
thubhairt e ris, Mo Thighearn agus
mo Dhia.
29 A deir Iosa ris, Air son gu
faca tu mi, a Thomais, chreid thu:
is beannuichte iadsan nach faca, agus
a chreid.
30 Agus rinn Iosa gu fìrinneach
mòran do mhìorbhuilibh eile am fian-
uis a dheisciobuil, nach 'eil scrìobhta
san leabhar so.
31 Ach tha iad so scrìobhta chum
gu'n creideadh sibh gur e Iosa an
Criosd Mac Dhé, agus ag creidsinn
duibh, gu'm biodh agaibh beatha trìd
ainmsan.

CAIB. XXI.

1 Tha Criosd 'ga fhoillseachadh féin a rìs d'a dheisciobluibh, agus air aithneachadh leo leis an tarruing mhòr éisg: 12 Tha e gabhail a dhìnneir maille riu; 15 a' toirt sparraidh do Pheadar uain agus a chaoraich a bhiadhadh; 18 a' roimh-innseadh a bhàis dha, 22 'ga chronachadh air son a thograidh air fios fhaotainn mu bhàs Eoin. 25 Comh-dhùnadh an leabhair.

AN déigh nan nithe sin dh'fhoill-
sich Iosa e féin a rìs d'a dheis-
ciobluibh aig muir Thiberias; agus
air an dòigh so nochd se *e féin*;
2 Bha maille r'a chéile Simon
Peadar, agus Tomas d'an goirear
Didimus, agus Natanael o Chana
Ghalile, agus *mic* Shebede, agus dith-
is eile d'a dheisciobluibh.
3 A deir Simon Peadar riu, Tha
mi dol a dh'iasgach. A deir iadsan
ris, Tha sinne a' dol maille riut.
Dh'imich iad a mach, agus chaidh
iad a steach do luing air ball; agus
cha do ghlac iad ni air bith an oidh-
che sin.
4 Ach an uair a bha a' mhaduinn
a nis air teachd, sheas Iosa air an
tràigh[o]: gidheadh cha robh fhios aig
na deisciobluibh gu'm b'e Iosa bha
ann.
5 An sin a deir Iosa riu, A chlann,
am bheil biadh air bith agaibh?
Fhreagair iadsan e, Cha 'n'eil.
6 Agus thubhairt esan riu, Tilgibh
an lìon air an taobh deas do'n luing,
agus gheibh sibh. Thilg iad uime
sin, agus a nis cha b'urrainn iad a
tharruing air son lìonmhoireachd an
éisg.
7 Uime sin a deir an deisciobul,
sin a b'ionmhuinn le Iosa, ri Peadar,
'Se 'n Tighearn a ta ann. A nis an
uair a chuala Simon Peadar gur e 'n
Tighearn a bh'ann, cheangail e a
chòt-uachdair *uime*, (oir bha e lom-
nochd) agus thilg se e féin sa' mhuir.
8 Thainig na deisciobuil eile ann
an luing bhig (oir cha robh iad fada
o thìr, ach mu thimchioll dà cheud
lamh-choille[p]) a' tarruing an lìn éisg.
9 Uime sin an uair a thainig iad
air tìr, chunnaic iad grìosach an sin,
agus iasg air a chur oirre, agus aran.
10 A deir Iosa riu, Thugaibh an
so do'n iasg a ghlac sibh a nis.
11 Chaidh Simon Peadar suas,
agus tharruing e 'n lìon gu tìr, làn
do iasgaibh mòra, ceud agus leth-
cheud agus tri: agus ge do bha 'n
uiread sin ann, cha do bhriseadh an
lìon.
12 A deir Iosa riu, Thigibh,
gabhaibh bhur dinneir. Agus cha
robh a chridh'[r] aig a h-aon do na
deisciobluibh fheòraich dheth, Cò

[n] *lorg, àit.* [o] *a' chladach.* [p] *bann-lamh.* [r] *mhisnich.*

thusa? oir dh'aithnich iad gur e'n Tighearn a bha ann.

13 An sin thainig Iosa, agus ghlac e aran, agus thug e dhoibh e, agus iasg mar an ceudna.

14 'Si so a nis an treas uair a nochd Iosa e féin d'a dheisciobluibh, an déigh dha éirigh o na marbhaibh.

15 An sin an déigh dhoibh an dìnneir a ghabhail, a deir Iosa ri Simon Peadar, A Shimoin *mhic* Ionais, am bheil barrachd gràidh agad dhomhsa orra sin? A deir e ris, Tha, a Thighearn; tha fios agad gur toigh leam thu. A 'deir esan ris, Beathaich m'uain.

16 A deir e ris a rìs an dara uair, A Shimoin *mhic* Ionais, an toigh leat mise? A deir e ris, Seadh, a Thighearn; tha fios agad gur toigh leam thu. A deir e ris, Beathaich mo chaoraich[s].

17 A deir e ris an treas uair, A Shimoin *mhic* Ionais, an toigh leat mise? Bha Peadar doilich a chionn gu'n dubhairt e ris an treas uair, An toigh leat mise? Agus thubhairt e ris, A Thighearn, is aithne dhiut na h-uile nithe; tha fhios agad gur toigh leam thu. A deir Iosa ris, Beathaich mo chaoraich.

18 Gu deimhin deimhin a deirim riut, an uair a bha thu òg, chriosraich thu thu féin, agus dh'imich thu'n taobh bu mhiann leat: ach an uair a bhios tu aosmhor, sìnidh tu mach do làmhan, agus criosraichidh neach eile thu, agus bheir e *thu* 'n taobh nach àill leat.

19 So thubhairt e, a' ciallachadh ciod a' ghnè bàis leis an d'thugadh e glòir do Dhia. Agus air dha so a ràdh, a deir e ris, Lean mise.

20 An sin air do Pheadar tionndadh, chunnaic e an deisciobul a b'ionmhuinn le Iosa, a' leantuinn; an ti mar an ceudna a luidh air uchd Iosa air a shuipeir, agus a thubhairt ris, A Thighearn, cò e a bhrathas thu?

21 Air do Pheadar esan fhaicinn, thubhairt e ri h-Iosa, A Thighearn, ciod *a ni* 'm fear so?

22 A deir Iosa ris, Ma's àill leamsa e dh'fhantuinn gus an d'thig mi, ciod e *sin* duitse? Leansa mise.

23 Uime sin chaidh an ràdh so mach am measg nam bràithre, nach faigheadh an deisciobul sin bàs: gidheadh cha dubhairt Iosa ris, nach faigheadh e bàs: ach, Ma's i mo thoilse e dh'fhantuinn gus an d'thig mi, ciod e *sin* duitse?

24 'Se so an deisciobul a ta deanamh fianuis air na nithibh so, agus a' scrìobh na nithe so: agus a ta fhios againne gu bheil fhianuis fior.

25 Agus a ta mar an ceudna mòran do nithibh eile a rinn Iosa, agus nam biodh iad uile scrìobhta, 's i mo bharail nach cumadh an saoghal féin na rachadh a scrìobhadh do leabhraibh. Amen.

GNIOMHARA NAN ABSTOL.

CAIB. I.

1 *Dol suas Iosa gu nèamh,* 10 *An*
déigh a dhol suas tha dà aingeal a'
toirt rabhaidh do na h-abstolaibh iad
a dh'imeachd rompa, agus a shuc-
rachadh an inntinn air ath-theachd-
san: 12 *a réir sin tha iad a' pill-*
tinn, agus a' deanamh ùrnuigh, agus
a' taghadh Mhatiais 'na Abstol an
àit Iudais.

RINN mi an ceud leabhar, a Theophiluis, mu thimchioll nan uile nithe a thionnsgain[t] Iosa a dheanamh agus a theagasg,

2 Gus an là an do thogadh suas e, an déigh dha, trìd an Spioraid Naoimh,

[s] *bi d'aodhaire air mo chaoraich.* [t] *thòisich.*

àitheantan a thabhairt do na h-abstolaibh a thagh e:

3 D'an d'rinn e mar an ceudna e féin a nochdadh beo an déigh fhulangais, le mòran do chomharaibh fìrinneach, air dha bhi air fhaicinn leo feadh dhà fhichead latha, agus e labhairt riu na nithibh sin a bhuineadh do rioghachd Dhé:

4 Agus air dha bhi maille riu, dh'àithn e dhoibh gun iad a dhol o Hierusalem, ach feitheamh ri gealladh an Athar, *ars' esan*, a chuala sibh uamsa.

5 Oir bhaist Eoin gu deimhin le uisge: ach baistear sibhse leis an Spiorad naomh, air bheag do làithibh an déigh so.

6 Uime sin air cruinneachadh dhoibh an ceann a chéile, dh'fheòraich iad deth, ag ràdh, A Thighearn, an aisig thu san àm so an rioghachd do Israel?

7 Ach thubhairt esan riu, Cha bhuin e dhuibhse fios nan aimsir no nan àm fhaotainn, a chuir an t-Athair 'na chumhachd féin.

8 Ach gheibh sibhse cumhachd an uair a thig an Spiorad naomh oirbh: agus bithidh sibh 'nar fianuisibh dhomhsa, araon ann an Ierusalem, agus ann an Iudea uile, agus ann an Samaria, agus gu iomall na talmhainn.

9 Agus an uair a thubhairt e na nithe so, thogadh suas e, agus iadsan 'ga fhaicinn, agus thug neul as an sealladh e.

10 Agus am feadh a bha iadsan a' geur-amharc gu nèamh, agus esan a' dol suas, feuch, sheas dithis fhear làimh riu ann an eudach geal;

11 Agus thubhairt iad, Fheara Ghalile, c'ar son a ta sibh 'nar seasamh ag amharc gu nèamh? An t-Iosa so a thogadh suas uaibh gu nèamh, is amhuil sin a thig e, mar a chunnaic sibh e a' dol gu nèamh.

12 An sin phill iad gu Hierusalem, o'n t-sliabh d'an goirear *sliabh nan crann-ola*, a tha'n fagus do Hierusalem, astar latha sàbaid as.

13 Agus an uair a thainig iad a stigh, chaidh iad suas do sheomar uachdarach, far an robh a' fantuinn Peadar, agus Seumas, agus Eoin, agus Aindreas, Philip, agus Tomas, Bartolomeus, agus Mata, Seumas *mac* Alpheuis, agus Simon Selotes, agus Iudas *bràthair* Sheumais.

14 Bhuanaich iad so uile a dh'aon inntinn ann an ùrnuigh [agus an guidhe,] maille ris na mnaibh, agus Muire màthair Iosa, agus maille r'a bhràithribh.

15 Agus anns na làithibh sin dh'éirich Peadar ann am meadhon nan deisciobul, agus thubhairt e, (b'e àireamh nan ainm a bha làthair, mu thimchioll ceud agus fichead.)

16 Fheara *agus* a bhràithre, b'éigin an scriobtuir so bhi air a choimhlionadh, a roimh-labhair an Spiorad naomh le beul Dhaibhidh timchioll Iudais, a bha 'na cheann-iuil[u] acasan a ghlac Iosa.

17 Oir bha e air àireamh maille ruinne, agus fhuair e cuibhrionn do'n fhrithealadh so.

18 A nis cheannaich am fear so fearann le duais na h-eucorach; agus air dha tuiteam sìos air aghaidh[a], sgàin e sa' mheadhon, agus bhrùchd a mhionach uile mach.

19 Agus rinneadh so aithnichte do luchd-àiteachaidh Ierusaleim uile; air chor as gu'n goirear do'n fhearann sin 'nan cainnt féin, Aceldama, sin ri ràdh, Fearann fola.

20 Oir a ta e scrìobhta ann an leabhar nan Salm, Biodh àite-còmhnuidh 'na fhàsach, agus na gabhadh neach sam bith tàmh ann: agus, Glacadh neach eile a dhreuchd[b].

21 Air an aobhar sin is còir aon do na daoinibh sin a bha maille ruinne, rè na h-aimsire *sin* uile anns an deachaidh an Tighearn Iosa steach agus a mach 'nar measgne,

22 A' tòiseachadh o bhaisteadh Eoin, gus an là an do thogadh suas uainn e, bhi air a dheanamh 'na fhianuis air aiseirigh-san maille ruinne.

23 Agus shonraich iad dithis, Ioseph d'an goirear Barsabas, d'am bu chomh-ainm Iustus, agus Matias.

24 Agus air deanamh ùrnuigh dhoibh, thubhairt iad, Thusa a Thigh-

[u] *threòruiche.* [a] *an comhair a chinn.* [b] *oifig.*

earn, d'an aithne cridheacha nan uile dhaoine, foillsich cò do'n dithis so a thagh thu,

25 A ghabhail cuibhrinn do'n fhrithealadh agus do'n abstolachd so, o'n do thuit Iudas le seachran[c], gu dol g'a àit féin.

26 Agus thilg iad an crannchur; agus thuit an crannchur air Matias, agus bha e air àireamh maille ris an aon abstol deug.

CAIB. II.

1 *Tha na h-abstoil air an lìonadh leis*
an Spiorad naomh, agus a' labhairt
iomadh gnè cainnte; tha cuid a'
gabhail iongantais riu, agus cuid
eile a' fanoid orra: 14 *Tha Pead-*
ar, chum a' bhreug a dheànamh
d'am barailsan, a' nochdadh gu'n
do labhair na h-abstoil le cumhachd
an Spioraid naoimh, gu'n d'éirich
Criosd o na marbhaibh, gu'n deach-
aidh e suas air nèamh; &c.

AGUS an uair a thainig là na cuingis[d], bha iad gu léir a dh'aon inntinn ann an aon àit.

2 Agus thainig gu h-obann toirm o nèamh, mar shéideadh gaoithe ro thréin, agus lìon i an tigh uile far an robh iad 'nan suidhe.

3 Agus dh'fhoillsicheadh dhoibh teanganna sgoilte, mar do theine, agus shuidh e air gach aon diubh fa leth:

4 Agus lìonadh iad uile leis an Spiorad naomh, agus thòisich iad air labhairt le teangaibh eile, a réir mar a thug an Spiorad comas labhairt dhoibh.

5 Agus bha a' gabhail còmhnuidh ann an Ierusalem, Iudhaich, daoine cràbhach, do gach uile chinneach fuidh nèamh.

6 A nis an uair a sgaoileadh an t-iomradh so, thainig an sluagh an ceann a chéile, agus bha iad fuidh amhluadh, do bhrigh gu'n cuala gach aon iad a' labhairt 'nan cànain[e] féin.

7 Agus bha iad uile fuidh uamhas agus ghabh iad iongantas, ag ràdh r'a chéile, Feuch, nach Galiléich iad sin uile a ta labhairt?

8 Agus cionnus a ta sinne 'gan cluinntinn gach aon 'nar cànain féin, anns an d'rugadh sinn?

9 Partuich, agus Medich, agus Elamuich, agus luchd-àiteachaidh Mhesopotamia, Iudea, agus Chapadocia, Phontuis, agus Asia,

10 Phrigia, agus Phamphilia, na h-Eiphit, agus chrìoch na Libia timchioll Chirene, agus coigrich o'n Ròimh, Iudhaich agus Proselitich[f],

11 Muinntir Chrete, agus Arabia, tha sinn 'gan cluinntinn a' labhairt 'nar teangaibh féin gnìomhara mòralacha Dhé.

12 Agus bha iad uile fuidh uamhas, agus ann an ioma-chomhairle, ag ràdh gach aon r'a chéile, Ciod is ciall da so?

13 Ach thubhairt droing eile a' fanoid, Tha na daoine so làn do fhìon ùr.

14 Ach air seasamh do Phedar maille ris an aon fhear deug, thog e a ghuth, agus thubhairt e riu, Fheara Iudea, agus sibhse uile a luchd-àiteachaidh Ierusaleim, biodh fios so agaibh, agus éisdibh ri m' bhriathraibhse:

15 Oir cha 'n'eil iad so air mhisg, mar a ta sibhs' a' meas, oir is i an treas uair do'n là[g] a ta ann.

16 Ach is e so an ni a dubhradh leis an fhàidh Ioel:

17 Agus tarlaidh[h] anns na làithibh deireannach, (arsa Dia) dòirtidh mise do m' Spiorad air gach uile fheoil; agus ni bhur mic agus bhur nigheana fàidheadaireachd, agus chi bhur n-òganaich seallanna, agus bruadaraidh bhur seann daoine bruadaran[h];

18 Agus dòirtidh mise air m'òglachaibh, agus air mo bhan-òglachaibh do m' Spiorad anns na làithibh sin, agus ni iad fàidheadaireachd:

19 Agus nochdaidh mise iongantais anns na neamhaibh shuas, agus comharan air an talamh shios; fuil, agus teine, agus duibhneul deataich.

20 Iompoichear a' ghrian gu dorchadas, agus a' ghealach gu fuil, mun d'thig latha mòr agus comharaichte sin an Tighearna.

[c] *a dh'fhàg Iudas.* [d] *an uair a choimhlìonadh latha na cuingis.* [e] *cainnt.* [f] *i. e. Geintilich a dh'iompoicheadh gu creidimh nan Iudhach.* [g] *i. e. an naothadh uair roimh mheadhon-là.* [h] *tachairidh.* [i] *chi bhur seann daoine aislingean.*

21 Agus tarlaidh, ge b'e neach a ghairmeas air ainm an Tighearna, gu'n tearnar e.

22 Fheara Israeil, éisdibh ris na briathraibh so: Iosa o Nasaret, duine a dhearbhadh le Dia 'nar measgsa, le cumhachdaibh agus le mìorbhuilibh agus le comharaibh, a rinn Dia leis-san 'nar meadhonsa, mar a ta fhios agaibh féin;

23 An duine so, a thugadh thairis le comhairle chinntich agus roimh-eòlas Dé, ghlac sibhse, agus le làmhaibh dhroch dhaoine[l] cheus agus mharbh sibh e[m]:

24 Neach a thog Dia suas, air dha piantan[n] a' bhàis fhuasgladh; do bhrigh nach robh e'n comas gu'n cumtadh esan leis:

25 Oir a deir Daibhidh m'a thimchioll, Chunnaic mi an Tighearn romham a ghnàth, oir a ta e aig mo dheas làimh, chum nach gluaisteadh mi.

26 Air an aobhar so rinn mo chridhe gairdeachas, agus rinn mo theanga aoibhneas: tuilleadh fòs, gabhaidh m'fheoil còmhnuidh fhoisneach ann an dòchas[o]:

27 Do bhrigh nach fàg thu m'anam shìos ann an ifrinn[p], ni mò a dh'fhuilingeas tu do d' naomh Aon féin gu faic e truaillidheachd.

28 Dh'fhoillsich thu dhomhsa slighean na beatha; lìonuidh tu mi do shubhachas le d' ghnùis.

29 Fheara *agus* a bhràithre, leigibh leamsa labhairt gu dàna ribh mu'n phrìomh-athair Daibhidh, araon gu'n d'fhuair e bàs, agus gu'n d'adhlaiceadh e, agus gu bheil uaigh maille ruinne gus an là 'n diugh:

30 Air an aobhar sin air dha bhi 'na fhàidh, agus fiosrach gu'n do mhionnaich Dia le mionn[illegible] dha, do thoradh a leasraidh, [a réir na feòla, gu togadh e suas Criosd] gu suidhe[r] air a righ-chaithir-san.

31 Air dhasan so a roimh-fhaicinn, labhair e mu aiseirigh Chriosd, nach d'fhàgadh anam ann an ifrinn[s], agus nach fac fheoil truaillidheachd.

32 An t-Iosa so thog Dia suas, air am bheil sinne uile 'nar fianuisibh.

33 Uime sin air dha bhi air àrdachadh le[t] deas làimh Dhé, agus gealladh an Spioraid naoimh fhaotainn o'n Athair, dhòirt e mach an ni so, a tha sibhse nis a' faicinn agus a' cluinntinn.

34 Oir cha deachaidh Daibhidh suas chum nan nèamh: ach a deir e féin, Thubhairt an Tighearn ri m' Thighearn, Suidh air mo làimh dheis,

35 Gus an cuir mi do naimhde 'nan stòl fuidh d' chosaibh.

36 Uime sin biodh fios gu cinnteach aig tigh Israeil uile gu'n d'rinn Dia 'na Thighearn agus 'na Chriosd, an t-Iosa so féin, a cheus sibhse.

37 A nis an uair a chual iad *so*, bha iad air am bioradh 'nan cridhe, agus thubhairt iad ri Peadar, agus ris a' chuid eile do na h-abstolaibh, Fheara *agus* a bhràithre, ciod a ni sinn?

38 An sin thubhairt Peadar riu, Deanaibh aithreachas, agus bithibh air bhur baisteadh gach aon agaibh ann an ainm Iosa Criosd, chum maitheanais peacaidh, agus gheibh sibh tiodhlacadh an Spioraid naoimh.

39 Oir a ta 'n gealladh dhuibhse, agus d'ar cloinn, agus do na h-uile a ta fad o làimh, e[illegible] a mheud 'sa ghairmeas an Tighearn ar Dia.

40 Agus le mòran do bhriathraibh eile rinn e fianuis agus dh'earalaich e *iad*[u], ag ràdh, Saoraibh sibh féin o'n ghinealach fhiar[a] so,

41 An [illegible]in bhaisteadh iadsan a ghabh r'a fhocal gu toileach: agus an là sin féin chuireadh *riu* timchioll tri mìle anam.

42 Agus bhuanaich iad gu seasmhach ann an teagasg nan abstol, agus ann an comh-chomunn, agus ann am briseadh arain, agus ann an ùrnuighibh.

43 Agus thainig eagal air gach anam: agus rinneadh mòran do mhìorbhuilibh agus do chomharaibh leis na h-abstolaibh.

[l] *le làmhan aingidh.* [m] *'nuair a rinn sibh fanoid air, mharbh sibh e.* [n] *cuibhreach, boinn.* [o] *earbsa.* [p] *san uaigh* [r] *gu'n suidhicheadh e.* [s] *san uaigh.* [t] *aig.* [u] *chomhairlich e iad, ghuidh e orra.* [a] *olc.*

44 Agus bha iadsan uile a chreid
ann an aon àit, agus bha na h-uile
nithe aca coitchionn[b].

45 Agus reic iad an seilbh agus
am maoin, agus roinn iad air na
h-uile iad, a réir mar a bha feum
gach neach.

46 Agus ag buanachadh dhoibh
gach là a dh'aon inntinn anns an
teampull, agus a' briseadh arain o
thigh gu tigh, chaith iad am biadh le
gairdeachas agus le aon-fhillteachd
cridhe,

47 A' moladh Dhé, agus deadh-
ghean aca o'n t-sluagh uile. Agus
chuir an Tighearn gach là ris an eag-
lais an dream a shlànuichear.

CAIB. III.

1 *Tha Peadar agus Eoin a' leigheas
duine bhacaich; 12 ag innseadh
do'n t-sluagh a bha air cruinneach-
adh nach do rinneadh am miorbhuil
so le naomhachd nan Abstol, ach le
cumhachd diadhaidh Chriosd; 13
'gan cronachadh air son esan a chur
gu bàs; 19 'gan earalachadh gu
aithreachas, &c.*

AGUS chaidh Peadar agus Eoin
le chéile suas do'n teampull,
aig uair na h-ùrnuigh, *eadhon* an
naothadh *uair*[c].

2 Agus bha duine àraidh a bha na
bhacach[d] o bhroinn a mhàthar air a
ghiùlan, neach a chuireadh gach là
aig dorus sin an teampuill d'an goir-
ear Sgiamhach, a dh'iarraidh déirce
orrasan a bha dol a steach do'n teamp-
ull:

3 Neach an uair a chunnaic e
Peadar agus Eoin air tì dol a steach
do'n teampull, dh'iarr e déirc.

4 Agus air do Pheadar sealltuinn
gu geur air, maille ri h-Eoin, thubh-
airt e, Amhairc oirnne.

5 Agus thug esan aire dhoibh an
dòchas gu'm faigheadh e ni-éigin
uatha.

6 An sin thubhairt Peadar, Air-
giod no òr cha 'n'eil agam; ach an ni
a ta agam, so bheiream dhuit: An
ainm Iosa Criosd o Nasaret, éirich
agus imich.

7 Agus air dha breith air a làimh
dheis, thog e suas e; agus air ball
neartaicheadh aobrunnan agus a
throidhean.

8 Agus leum e suas, agus sheas,
agus dh'imich e, agus chaidh e steach
maille riu do'n teampull, ag imeachd,
agus a' leumnaich, agus a' toirt cliu
do Dhia.

9 Agus chunnaic an sluagh uile e
ag imeachd, agus a' toirt cliu do
Dhia.

10 Agus dh'aithnich iad esan gu'm
b'e a bha 'na shuidhe aig geata
Sgiamhach an teampuill ag iarraidh
déirce: agus lìonadh iad le h-ion-
gantas agus le h-uamhas air son an
ni sin a thachair dha.

11 Agus ag cumail Pheadair agus
Eoin [do'n bhacach a chaidh leigh-
eas,] ruith an sluagh uile d'an ionn-
suidh anns an sgàth-thigh[e] d'an
goirear sgàth-thigh Sholaimh, làn
iongantais.

12 Agus air faicinn so do Phead-
ar, fhreagair e 'n sluagh, Fheara Is-
raeil, c'ar son a ta iongantas oirbh
mu'n ni so? no c'ar son a ta sibh a'
geur-amharc oirnne, mar gu b'ann
le'r cumhachd no ar naomhachd féin
a thug sinn air an duine so imeachd?

13 Ghlòraich Dia Abrahaim, agus
Isaaic, agus Iacoib, Dia ar n-aith-
riche a Mhac Iosa; a thug sibhse
thairis, agus a dh'àicheadh sibh an
làthair Philait, an uair a b'i a bhreth
a chur fa sgaoil.

14 Ach dh'àicheadh sibhse an
t-Aon naomha, agus am Firean, agus
dh'iarr sibh mortair a thiodhlacadh[f]
dhuibh,

15 Agus mharbh sibh Prionnsadh[g]
na beatha, a thog Dia o na marbh-
aibh; air am bheil sinne 'nar fianuis-
ibh.

16 Agus tre chreidimh 'na ainm
neartaich e an ti so, a tha sibhse a'
faicinn, agus a's aithne dhuibh;
seadh, thug ainmsan agus an creid-
imh a ta tridsan, dhasan an t-slàinte
iomlan so 'nar làthairse uile.

17 Agus a nis, a bhràithre, tha
fhios agam gur ann tre aineolas a

[b] *ann an comh-pairt.* [c] *i. e. an treas uair an déigh mheadhon-là.*
[d] *chrioplach.* [e] *àileir, phòrsa.* [f] *thabhairt.* [g] *Ceann-iuil, Ceannard.*

rinn sibh *e*, mar *a rinn* mar an ceudna bhur n-uachdarain.

18 Ach choimhlion Dia air an dòigh so na nithe sin a roimh-fhoillsich e le beul fhàidhean uile, gu'm fuilingeadh Criosd.

19 Air an aobhar sin deanaibhse aithreachas agus bithibh air bhur n-iompochadh, chum gu'm bi bhur peacaidh air an glanadh as, 'nuair a thig amanna fionnuaireachd o làthair an Tighearna,

20 Agus a chuireas e Iosa [h] Criosd d'ar ionnsuidh, a chaidh roimh-orduchadh [i]:

21 Neach is éigin do néamh a ghabhail, gu aimsiribh aisig nan uile nithe, air an do labhair Dia le beul fhàidhean naomha uile, o thoiseach an t-saoghail.

22 Oir gu fìrinneach thubhairt Maois ris na *h*-aithrichibh, Togaidh an Tighearn bhur Dia suas fàidh dhuibh, d'ar bràithribh, mar mise; ris-san éisdidh sibh anns na h-uile nithibh a labhras e ribh.

23 Agus tarlaidh, gach anam nach éisd ris an fhàidh sin, *gu'n* sgriosar a mach as an t-sluagh e.

24 Seadh, dh'fhoillsich na fàidhean uile o Shamuel, agus iadsan a lean o sin, a mheud diubh 's a labhair, roimh-làimh mu na làithibh so.

25 Is sibhse clann nam fàidh, agus a' choimh-cheangail a rinn Dia r'ar n-aithrichibh, ag ràdh ri Abraham, Agus ann ad shliochdsa bithidh uile theaghlaiche na talmhainn air am beannachadh.

26 Air do Dhia a Mhac Iosa thogail suas, chuir e d'ar n-ionnsuidhs' e air tùs, chum as gu'm beannuicheadh e sibh, leis gach aon agaibh iompochadh o bhur lochdaibh.

CAIB. IV.

1 Tha uachdarain nan Iudhach a' cur Pheadair agus Eoin am priosun, air son iad a bhi searmonachadh Iosa do'n t-sluagh: 5 an déigh an ceasnachadh tha Peadar ag aideachadh gu'n do leighiseadh am bacach le cumhachd diadhaidh Iosa a mhàin, agus gur ann trìdsan 'na aonar a ta slàinte shiorruidh r'a faghail, &c.

AGUS am feadh 's a bha iad a' labhairt ris an t-sluagh, thainig orra na sagairt, agus ceannard an teampuill, agus na Sadusaich.

2 Agus bha iad fuidh dhoilgheas gu'n robh iadsan a' teagasg an t-sluaigh, agus a' searmonachadh tre Iosa aiseirigh nam marbh.

3 Agus chuir iad làmh annta, agus chuir iad am priosun iad gus an là maireach [l]: oir b'e nis am feasgar a bh'ann.

4 Gidheadh, chreid mòran diubhsan a chual am focal; agus b'e àireamh nan daoine timchioll chùig mìle.

5 Agus tharladh air an là maireach, gu'n chruinnicheadh an ceann a chéile an uachdarain, agus an seanairean, agus an scrìobuichean, ann an Ierusalem,

6 Agus Annas an t-àrd shagart, agus Caiaphas, agus Eoin, agus Alastair [m], agus a mheud 's a bha do chinneach an àrd shagairt.

7 Agus air dhoibh iadsan a chur' anns a' mheadhon, dh'fhiosraich iad, Ciod e an cumhachd, no ciod e an t-ainm anns an d'rinn sibh so?

8 An sin air do Pheadar bhi air a lìonadh leis an Spiorad naomh, thubhairt e riu, Uachdarana a' phobuill, agus a sheanairean Israeil,

9 Ma tha sinne an diugh air ar ceasnachadh mu'n deadh ghnìomh a rinneadh do'n duine euslan, cionnus a shlànuicheadh e;

10 Biodh e aithnichte dhuibhse uile, agus do phobull Israeil uile, gur ann tre ainm Iosa Criosd o Nasaret, a cheus sibhse, a thog Dia o na marbhaibh, eadhon trìdsan a ta 'n duine so 'na sheasamh an so 'nar làthairse slàn.

11 'Si so a' chlach sin a dhiultadh libhse, a luchd togail, a rinneadh 'na ceann na h-oisinn.

12 Agus cha 'n'eil slàinte ann an

[h] *chum gu d'thig amanna fois o làthair an Tighearna, agus gu cuir e Iosa.*
[i] *roimhe so a shearmonachadh dhuibh.* [l] *gus an la air na mhàireach.*
[m] *Alecsander.*

neach air bith eile: oir cha 'n'eil ainm air bith eile fuidh nèamh air a thoirt am measg dhaoine, tre'm feud sinn bhi air ar slànuchadh [n].

15 A nis an uair a chunnaic iad dànachd Pheadair agus Eoin, agus a thuig iad gu'm bu daoine gun fhòghlum agus cumanta iad, ghabh iad iongantas, agus dh'aithnich siad iad [o] gu'n robh iadsan maille ri h-Iosa.

14 Agus air faicinn an duine a leighiseadh 'na sheasamh maille riu, cha robh ni air bith aca ri ràdh 'na aghaidh.

15 Agus an déigh dhoibh orduchadh dhoibhsan dol a mach as a' chomhairle, chuir iad an cinn cuideachd [p],

16 Ag ràdh, Ciod a ni sinn ris na daoinibh so? Oir gu'n deachaidh mìorbhuil aithnichte [r] dheanamh leo, a ta e follaiseach do luchd àiteachaidh Ierusaleim uile, agus cha'n urradh sinne àicheadh.

17 Ach a chum nach sgaoilear e ni's mò air feadh an t-sluaigh, bagramaid orra gu geur, gun iad a labhairt ni's mò ri neach air bith anns an ainm so.

18 Agus air dhoibh an gairm, dh'àithn iad dhoibh gun iad a labhairt air chor sam bith, no a theagasg ann an ainm Iosa.

19 Ach fhreagair Peadar agus Eoin agus thubhairt iad riu, Am bheil e ceart am fianuis Dé, éisdeachd ribhse roimh Dhia, thugaibh féin breth.

20 Oir cha 'n'eil e'n comas duinne gun na nithe a chunnaic, agus a chuala sinn a labhairt.

21 Ach air dhoibhsan tuilleadh bagraidh a dheanamh orra, leig iad as iad, gun dòigh air bith fhaotainn air am feudadh iad peanas a dheanamh orra, air son an t-sluaigh: oir bha na h-uile a' toirt glòire do Dhia air son an ni a rinneadh.

22 Oir bha an duine air an d'rinneadh am mìorbhuil leighis so tuilleadh as dà fhichead bliadhna dh'aois.

23 Agus an uair a leigeadh as iad, thainig iad dh'ionnsuidh am muinntir féin, agus dh'innis iad na h-uile nithe a thubhairt na h-àrd shagairt, agus na seanairean riu.

24 Agus an uair a chual iadsan so, thog iad suas a dh'aon inntinn an guth ri Dia, agus thubhairt iad, A Thighearn, is tusa an Dia a rinn nèamh agus talamh, agus an fhairge, agus na h-uile *nithe* ta annta:

25 A thubhairt le beul Dhaibhidh do sheirbhisich, C'ar son a ghebh na Cinnich boil, agus a smuainich an sluagh nithe dìomhanach?

26 Sheas righre na talmhainn suas, agus chruinnicheadh na h-uachdarain an ceann a chéile, an aghaidh an Tighearna, agus an aghaidh a Chriosd [s].

27 Oir gu fìrinneach chruinnicheadh an ceann a chéile 'n aghaidh do Leinibh naoimh Iosa, a dh'ùng thu, araon Herod agus Pontius Pilat, maille ris na Cinneachaibh, agus sluagh Israeil,

28 A dheanamh gach ni a roimh orduich do làmh agus do chomhairle a bhi deanta.

29 Agus a nis, a Thighearn, amhairc air am bagraibh: agus deònaich do d' sheirbhisich féin, t'fhocal a labhairt leis gach uile dhànachd,

30 Le d' làimh a shìneadh a mach chum leighis: agus gu'm bi comharan agus mìorbhuilean air an deanamh tre ainm do Leinibh naoimh Iosa.

31 Agus air dhoibh ùrnuigh a dheanamh, chrathadh an t-àit anns an robh iad cruinn; agus lìonadh iad uile do'n Spiorad naomh, agus labhair iad focal Dé le dànachd.

32 Agus bha aig a' chuideachd a chreid aon chridhe, agus aon-anam: agus ni mò a thubhairt neach air bith *dhiubh*, gu'm bu leis féin aon ni a shealbhaich e, ach bha na h-uile nithe coitchionn [t] aca.

33 Agus le mòr chumhachd thug na h-abstoil fianuis air aiseirigh an Tighearna Iosa: agus bha mòr ghràs orra uile.

34 Agus ni mò a bha aon neach uireasbhuidheach 'nam measg: oir a mheud 'sa bha 'nan sealbhadairibh

[n] *saoradh, sàbhaladh.* [o] *thug iad aire dhoibh.* [p] *an comhairle r'a chéile.* [r] *soilleir.* [s] *an aghaidh Aoin ungta-san.* [t] *ann an comhpairt.*

fearainn, no thighean, air dhoibh an reiceadh, thug iad luach nan nithe a chaidh reiceadh leo,

35 Agus chuir iad aig cosaibh nan abstol *e*: agus roinneadh e air gach neach a réir *fheuma*.

36 Agus air do fhearann a bhi aig Ioses, d'an ghoireadh leis na h-abstolaibh Barnabas (is e sin, air eadartheangachadh, Mac na comhfhurtachd) Lebhitheach, d'am bu dùthaich Ciprus,

37 Reic se e, agus thug e 'n t-airgiod, agus chuir e aig cosaibh nan abstol *e*.

CAIB. V.

1 *Tha Ananias agus Saphira air son an ceilge a' tuiteam sìos marbh le cronachadh Pheadair.* 12 *Mòran mhìorbhuilean air an oibreachadh;* 17 *Chuireadh na h-abstoil a rìs am prìosun,* 19 *ach a ta iad air an leigeadh as le aingeal, a thug ordugh dhoibh searmonachadh gu follaiseach: &c.*

ACH reic fear àraidh d'am b'ainm Ananias, maille r'a mhnaoi Saphira, sealbh fearainn,

2 Agus cheil e *cuid* do'n luach, le fios a mhnà, agus air dha cuid-eigin a thoirt leis, chuir e aig cosaibh nan abstol *e*.

3 Ach thubhairt Peadar, Ananiais, c'ar son a lìon Satan do chridhe a dheanamh bréige do'n Spiorad naomh, agus a cheiltinn *cuid* do luach an fhearainn?

4 Am feadh 's a dh'fhuirich e *gun reiceadh*, nach bu leat féin e? agus an déigh a reiceadh nach robh e a'd' chomas féin? c'ar son a smuainich thu ann do chridhe an gnìomh so? cha d'rinn thu breug do dhaoinibh, ach do Dhia.

5 Agus an uair a chuala Ananias na briathra so, thuit e sìos, agus chaidh an deo as: agus thainig eagal mòr air na h-uile a chuala na nithe so.

6 Agus air éirigh do na h-òganachaibh, phaisg iad an eudach-mairbh e, agus air dhoibh a ghiùlan a mach, dh'adhlaic iad *e*.

7 Agus tharladh timchioll tri uaire 'na dhéigh sin, gu'n d'thainig a bhean a steach, gun fhios aice air an nì a rinneadh.

8 Agus fhreagair Peadar i, Innis dhomhsa an ann air an uiread so reic sibh am fearann? Agus thubhairt ise, Is ann, air son an uiread sin.

9 An sin thubhairt Peadar rithe, C'ar son a chomh-aontaich sibh Spiorad an Tighearna a dhearbhadh[u]? feuch, *tha* cosa na muinntir a dh'adhluic t'fhear aig an dorus, agus giùlainidh iad thusa mach.

10 An sin thuit i air ball aig a chosaibh, agus chaidh an deo aisde: agus air do na h-òganachaibh teachd a steach, fhuair iad i marbh, agus air dhoibh a giùlan a mach, dh'adhluic iad làimh r'a fear i.

11 Agus thainig eagal mòr air an eaglais uile, agus air na h-uile a chuala na nithe so.

12 Agus rinneadh mòran chomharan agus mhìorbhuilean am measg a' phobuill le làmhaibh nan abstol; (agus bha iad uile dh'aon inntinn ann sgàth-thigh[a] Sholaimh;

13 Agus cha robh chridh' aig a h-aon do chàch e féin a cheangal riu:) ach bha mòr mheas aig a' phobull orra.

14 Agus is mòid a chuireadh creidmhich ris an Tighearn, buidheann mhòr[b] araon do fhearaibh agus do mhnaibh:

15 Air chor as gu'n d'thug iad a mach a' mhuinntir euslan air na sràidibh, agus gu'n do chuir iad air leapaichibh agus air uirighibh[c] *iad*, chum 'ag teachd do Pheadar gu'n cuireadh fhaileus, mar bu lugha, sgàile[d] air neach eigin aca.

16 Agus thainig mar an ceudna mòr shluagh as na bailtibh m'an cuairt air Hierusalem, a' toirt leo muinntir euslain, agus dream a bha air am buaireadh le spioradaibh neo-ghlan: agus leighiseadh iad uile.

17 An sin dh'éirich an t-àrd shagart, agus iadsan uile a bha maille ris, (eadhon luchd-bharail nan Sadusach) agus lìonadh iad le tnùth[e],

[u] *a bhuaireadh.* [a] *àilear, pòrsa.* [b] *sluagh mòr.* [c] *couches.* Sasg. [d] *dubhar.* [e] *eud.*

18 Agus chuir iad làmh anns na h-abstolaibh, agus chuir iad sa' phriosun chumanta iad.

19 Ach dh'fhosgail aingeal an Tighearna dorsan a' phriosuin san oidhche, agus thug e iadsan a mach, agus thubhairt e,

20 Imichibh, agus ag seasamh dhuibh labhraibh san teampull ris an t-sluagh, uile bhriathra na beatha so.

21 Agus an nair a chual iad *so*, chaidh iad gu moch a steach do'n teampull, agus theagaisg iad. Ach thainig an t-àrd shagart agus iadsan a bha maille ris, agus ghairm iad a' chomhairle, agus seanadh chloinn Israeil uile an ceann a chéile, agus chuir iad do'n phriosun chum gu'n d'thugtadh iadsan *d'an ionnsuidh*.

22 Ach an uair a thaing na maoir, cha d'fhuair iad sa' phriosun iad, agus air pilltinn dhoibh, dh'innis iad,

23 Ag ràdh, Fhuair sinne gu fìrinneach am priosun dùinte gu ro thèaruinte, agus an luchd-coimhead 'nan seasamh a mach fa chomhair nan dorus: ach an uair a dh'fhosgail sinn, cha d'fhuair sinn aon duine a stigh.

24 A nis an uair a chual an t-àrd shagart, agus ceannard an teampuill, agus uachdarain nan sagart na briathra so, bha iad fuidh amharus m'an timchioll ciod gus an d'thigeadh so.

25 An sin thainig neach *àraidh* agus dh'innis *d'* dhoibh, ag ràdh, Feuch, a ta na daoine a chuir sibh sa' phriosun, 'nan seasamh san teampull, agus a' teagasg a' phobuill.

26 An sin dh'imich an ceannard maille ris na maoraibh, agus thug e leis iad gun ainneart: (oir bha eagal orra roimh an t-sluagh, gu'm biodh iad air an clachadh *leo*.)

27 Agus an uair a thug iad leo iad, chuir iad ann am fianuis na comhairle *iad*: agus dh'fheòraich an t-àrd shagart diubh,

28 Ag ràdh, Nach d'thug sinne geur ordugh dhuibh, gun teagasg a dheanamh san ainm so? agus feuch, lìon sibh Ierusalem le'r teagasg, agus is àill libh fuil an duine so a tharruing[f] oirnne.

29 An sin fhreagair Peadar agus na h-abstoil *eile*, agus thubhairt iad, Is còir géill a thoirt do Dhia ni's mò na do dhaoinibh.

30 Thog Dia ar n-aithriche Iosa, a mharbh sibhse agus a chroch sibh air crann.

31 Esan dh'àrdaich Dia le a dheas làimh 'na Cheannard[g] agus 'na Shlànuighear, a thoirt aithreachais agus maitheanais peacaidh do Israel.

32 Agus tha sinne 'nar fianuisibh dha air na nithibh so: agus mar an ceudna an Spiorad naomh, a thug Dia dhoibhsan a ta ùmhal dha.

33 Agus an uair a chual iadsan *so*, bha iad air an gonadh[h], agus ghabh iad comhairle an cur gu bàs.

34 An sin dh'éirich Phairiseach àraidh anns a' chomhairle, d'am b'ainm Gamaliel, fear-teagaisg an lagha, air an robh meas aig an t-sluagh uile, agus dh'orduich e na h-abstoil a chur a mach rè tamuill,

35 Agus thubhairt e riu, Fheara Israeil, thugaibh aire dhuibh féin, ciod a ta roimhibh a dheanamh mu thimchioll nan daoine sin.

36 Oir roimh na làithibh so dh'eirich Teudas suas, ag ràdh gu'm bu neach éigin mòr e féin, agus cheangail àireamh dhaoine, timchioll ceithir cheud, iad féin ris: mharbhadh esan, agus a mheud 'sa dh'aontaich leis, sgaoileadh iad uile as a chéile, agus chaidh iad gu neo-ni.

37 An déigh an fhir so dh'éirich Iudas an Galiléach suas, ann an làithibh na cìs-mheasaidh, agus tharruing e mòran sluaigh 'na dhéigh: sgriosadh esan mar an ceudna, agus a mheud 'sa ghéill da[i], sgapadh iad uile.

38 Agus a nis a deirim ribh, Fanaibh o na daoinibh so, agus leigibh leo: oir ma's ann o dhaoinibh a ta a' chomhairle so, no'n obair so, thig i gu neo-brigh[l]:

39 Ach ma's ann o Dhia a ta i, cha'n urradh sibhs' a cur gu neo-brigh: air eagal gu'n tarladh gu'm faighear sibh eadhon a' cogadh an aghaidh Dhé.

[f] *thoirt.* [g] *Phrionnsadh.* [h] *chas iad am fiacla.* [i] *dh'earb as.* [l] *théid as dith.*

40 Agus dh'aontaich iad leis-san :
agus an uair a ghairm iad na h-abst-
oil, agus a ghabh iad orra, dh'orduich
iad dhoibh gun labhairt ann an ainm
Iosa, agus leig iad as iad.
41 Agus dh'imich iadsan o làthair
na comhairle, le gairdeachas a chionn
gu'n do mheasadh gu'm b'fhiu iad
eas-urram fhulang air son ainmesan.
42 Agus gach là anns an teampull,
agus o thigh gu tigh, cha do sguir
iad a bhi teagasg, agus a' searmonach-
adh Iosa Criosd.

CAIB. VI.

1 *Thagh na h-abstoil seachdnar gu
frithealadh do uireasbhuidh nam
bochd : 5 B'aon diubh so Stephan,
neach a bha làn do chreidimh, agus
do'n Spiorad naomh : 12 Tha esan
air a ghlacadh, agus air agairt gu
h-eucorach an làthair na comhairle,
leis an aitim a chuir e 'nan tosd le
deasboireachd.*

AGUS anns na làithibh sin, an
uair a bha àireamh nan deis-
ciobul a' meudachadh, dh'éirich gear-
an am measg nan Greugach an agh-
aidh nan Eabhrach, a chionn gu'n do
dhearmaideadh am bantraichean san
fhrithealadh laitheal.
2 An sin ghairm an dà fhear dheug
mòr chuideachd nan deisciobul d'an
ionnsuidh, agus thubhairt iad, Cha
'n'eil e iomchuidh sinne dh'fhàgail
focail Dé, agus a fhrithealadh do
bhordaibh.
3 Uime sin, a bhràithre, iarraibh
a mach 'nar measg seachdnar dhaoine
fuidh dheadh iomradh, làn do'n
Spiorad naomh agus do ghliocas, a
chuireas sinne os cionn an dreuchd
so [m].
4 Ach buanaichidh sinne a ghnàth
ann an ùrnuigh, agus am ministreil-
eachd an fhocail.
5 Agus bha chainnt *so* taitneach
an làthair na mòr chuideachd uile :
agus thagh iad Stephan, duine làn
do chreidimh agus do'n Spiorad
naomh, agus Philip, agus Prochorus,
agus Nicanor, agus Timon, agus
Parmenas, agus Nicolas proseliteach
do mhuinntir Antioch.
6 Chuir iad iadsan an làthair nan
abstol : agus air deanamh ùrnuigh
dhoibh, chuir iad an làmhan orra.
7 Agus dh'fhàs focal Dé ; agus
mheudaicheadh àireamh nan deisciob-
ul gu ro mhòr ann an Ierusalem ;
agus bha cuideachd mhòr do na
sagartaibh ùmhal do'n chreidimh.
8 Agus rinn Stephan, làn do
chreidimh agus do chumhachd,
mìorbhuilean agus comharan mòra
am measg an t-sluaigh.
9 An sin dh'éirich dream àraidh
do'n t-sionagog, d'an goirear *sionagog*
nan Libertineach [n], agus nan Cire-
nianach, agus mhuinntir Alecsandria,
agus na droinge o Chilicia, agus o'n
Asia, a' deasboireachd ri Stephan.
10 Agus cha b'urrainn iad cur an
aghaidh a' ghliocais agus an spioraid
leis an do labhair e.
11 An sin thug iad a steach os
ìosal daoine a thubhairt, Chuala sinne
e labhairt bhriathar toibheumach an
aghaidh Mhaois, agus Dhé.
12 Agus dhùisg iad suas an sluagh,
agus na seanairean, agus na scrìobh-
uichean, agus thainig iad air agus
ghlac iad e, agus thug iad an làthair
na comhairle *e*.
13 Agus chuir iad suas fianuisean
bréige, a thubhairt, Cha 'n'eil an
duine so a' sgur do labhairt bhriathar
toibheumach [o] an aghaidh an ionaid
naomha so, agus an lagha.
14 Oir chuala sinn e ag ràdh, gu'n
sgrios an t-Iosa so o Nasaret an t-àit
so, agus gu'n caochail e na [p] gnàthanna
a thug Maois dhuinne.
15 Agus air dhoibhsan uile a bha
'nan suidhe sa' chomhairle amharc
gu geur air, chunnaic iad aghaidh
mar aghaidh aingil.

CAIB. VII.

1 *Air do Stephan comas fhaghail
freagairt air a shon fein, 2 tha e
nochdadh gu'n d'rinn Abraham
aoradh do Dhia gu taitneach ; 37
gu'n d'thug Maois féin fianuis mu
Chriosd ; 51 'gan cronachadh air
son an ceannairce, agus mortadh
Chriosd : 54 Air a so tha iad 'ga
chlachadh gu bàs, tha esan a' tiom-*

[m] *na h-oibre so.* [n] *Saoirsineach.* [o] *maslach.* [p] *cleachdan, orduighean.*

*nadh anama do Iosa, agus a' guidh-
eadh Dhé air an sonsan.*

AN sin thubhairt an t-àrd shagart,
Am bheil ma ta na nithe so
mar so?
2 Agus thubhairt esan, Fheara, a
bhràithre, agus aithriche, éisdibh,
Dh'fhoillsicheadh Dia na glòire d'ar
n-athair Abraham, 'nuair a bha e
ann am Mesopotamia, mun do ghabh
e còmhnuidh ann an Charran,
3 Agus thubhairt e ris, Rach a
mach a d' thìr féin, agus o d' chinn-
each, agus thig chum na tìre a
nochdas mise dhuit.
4 An sin chaidh esan a mach a
talamh nan Caldéach, agus ghabh e
còmhnuidh ann an Charran: agus
as sin, an déigh bàis athar, dh'atharr-
aich se e do'n fhearann so anns am
bheil sibhse nis 'nar còmhnuidh.
5 Agus cha d'thug e dha oigh-
reachd *sam bith* ann, cha d'thug *fiu*
leud troidhe: gidheadh gheall e gu'n
d'thugadh e mar sheilbh e dha féin
agus d'a shliochd 'na dhéigh, ge nach
robh fathast duine cloinne aige.
6 Agus labhair Dia air an dòigh
so, Gu'm biodh a shliochd air chuairt
ann an dùthaich choigrich, agus gu'n
deanadh iad tràillean diubh, agus
gu'm buineadh iad gu h-olc *riu* rè
ceithir cheud bliadhna.
7 Agus air a' chinneach sin d'am
bi iadsan fuidh dhaorsa, bheir mise
breth, arsa Dia: agus an déigh nan
nithe sin thig iad a mach, agus
ni iad seirbhis dhomhsa anns an
àit so.
8 Agus thug e dha coimhcheangal[r]
an timchioll-ghearraidh: agus mar
sin ghin *Abraham* Isaac, agus
thimchioll-ghearr se e air an ochdamh
là: agus *ghin* Isaac Iacob, agus
Iacob an dà phrìomh-athair dheug.
9 Agus a' gabhail farmaid reic[s]
na prìomh-aithriche Ioseph do'n
Eiphit: ach bha Dia maille ris,
10 Agus shaor se e as a thrioblaid-
ibh uile, agus thug e deadh-ghean[t]
agus gliocas da an làthair Pharaoh
rìgh na h-Eiphit; agus chuir se e 'na
uachdaran air an Eiphit, agus air a
theaghlach féin uile.
11 Nis thainig gorta agus àmhghar
mòr air an Eiphit uile, agus air tal-
amh Chanaain; agus cha d'fhuair ar
n-aithriche teachd-an-tìr[u].
12 Ach an uair a chuala Iacob
gu'n robh arbhar san Eiphit, chuir e
mach ar n-aithriche air tùs.
13 Agus air an dara *uair* rinneadh
Ioseph aithnichte d'a bhràithribh;
agus rinneadh cinneach Ioseiph
follaiseach do Pharaoh.
14 An sin chuir Ioseph *fios* uaith,
agus ghairm e d'a ionnsuidh Iacob
athair, agus a luchd dàimhe uile,
cùig anama deug agus tri fichead.
15 Agus chaidh Iacob sìos do'n
Eiphit, agus fhuair e bàs, e féin agus
ar n-aithriche.
16 Agus ghiùlaineadh thairis iad
gu Sichem, agus chuireadh iad anns
an àit-adhlacaidh a cheannaich A-
braham air suim airgid o mhic Emoir
athar Shicheim.
17 Ach an uair a dhruid àm a'
gheallaidh, a mhionnaich Dia do A-
braham, dh'fhàs an sluagh agus rinn-
eadh iad lìonmhor san Eiphit,
18 Gus an d'éirich rìgh eile, do
nach b'aithne Ioseph.
19 Bhuin esan[a] gu cuilbheirteach
r'ar cinneach, agus rinn e olc air ar
n-aithrichibh, air chor as gu'n d'thug
e orra an naoidheana a thilgeadh
mach, chum nach sìolaicheadh iad[b].
20 Anns an àm sin rugadh Maois,
agus bha e ro sgiamhach, agus
dh'altrumadh e tri mìosan ann an
tigh athar:
21 Agus an uair a thilgeadh a
mach e, thog nighean Pharaoh leatha
e, agus dh'altrum[c] i e mar mhac
dh'i féin.
22 Agus dh'fhòghlumadh[d] Maois
ann an uile ghliocas nan Eiphiteach,
agus bha e cumhachdach am briath-
raibh agus an gnìomharaibh.
23 Agus an uair a bha e dà fhich-
ead bliadhna iomlan a dh'aois, thainig
e 'na chridhe a bhràithre clann Israeil
fhiosrachadh[e].

[r] *cùnradh, cùmhnant.* [s] *chreic.* [t] *bàigh, fàbhor.* [u] *biatachd.*
[a] *Ghiùlain se e fein.* [b] *nach fàsadh sliochd orra, nach maireadh iad beo.*
[c] *dh'oil.* [d] *dh'ionnsuicheadh.* [e] *dol a shealltuinn a bhràithre cloinn Israeil.*

24 Agus air dha duine àraidh *dhiubh* fhaicinn a' fulang eucoir, theasairg se *e*, agus air bualadh an Eiphitich dha, rinn e dioghaltas do'n fhear air an d'rinneadh an eucoir :

25 Oir shaoil e gu'n tuigeadh a bhràithre, gu'n d'thugadh Dia le a làimhsan saorsa dhoibh ; ach cha do thuig iadsan.

26 Agus air an là 'na dhéigh sin nochd se e féin doibh agus iad a' comhstribh, agus b'àill leis sìth a dheanamh eatorra[f], ag ràdh, A dhaoine, is bràithre sibh féin, c'ar son a ta 'sibh a' deanamh eucoir air a chéile ?

27 Ach chuir am fear a rinn an eucoir air a choimhearsnach uaith e, ag ràdh, Cò a rinn thusa a' d' uachdaran agus a' d' bhreitheamh oirnne ?

28 Am miann leat mise a mharbhadh, mar a *mharbh thu* an t-Eiphiteach an dé ?

29 An sin theich Maois air son an fhocail so, agus bha e 'na choigreach ann an dùthaich Mhadiain, far an do ghin e dithis mhac.

30 Agus an uair a choimhlionadh dà fhichead bliadhna, dh'fhoillsicheadh dha ann am fàsach beinne Shina, aingeal an Tighearna ann an làsair theine ann am preas.

31 Agus an uair a chunnaic Maois *so*, ghabh e iongantas mu'n t-sealladh: agus ag dha teachd am fagus gu beachdachadh *air*, thainig guth an Tighearna d'a ionnsuidh,

32 *Is* mise Dia t'aithriche, Dia Abrahaim, agus Dia Isaaic, agus Dia Iacoib. An sin chriothnuich Maois, agus cha robh chridh' aige amharc[g].

33 An sin thubhairt an Tighearn ris, Fuasgail do bhrògan o d' chosaibh : oir is talamh naomh an t-àit am bheil thu d' sheasamh.

34 Chunnaic mi gu cinnteach àmhghar mo phobuill a ta san Eiphit, agus chuala mi an osnaidh, agus thainig mi nuas g'an saoradh. Agus a nis thig, cuiridh mi do'n Eiphit thu.

35 Am Maois so féin a dhiùlt iadsan, ag ràdh, Cò rinn uachdaran agus breitheamh dhiotsa ? esan chuir Dia *gu bhi* 'na uachdaran agus 'na fhear-saoraidh le làimh an aingil a dh'fhoillsicheadh dha sa' phreas.

36 Thug esan a mach iad an déigh dha mìorbhuilean, agus comharan a dheanamh ann an talamh na h-Eiphit, agus anns a' mhuir ruaidh, agus anns an fhàsach rè dhà fhichead bliadhna.

37 'S e so am Maois ud a thubhairt ri cloinn Israeil, Togaidh an Tighearn bhur Dia suas fàidh dhuibh d'ar bràithribh, cosmhuil riusma ; ris-san éisdidh sibh.

38 So esan a bha san eaglais anns an fhàsach, maille ris an aingeal a labhair ris ann am beinn Shina, agus maille r'ar n-aithrichibhne: neach a fhuair briathra na beatha[h] chum an tabhairt dhuinne :

39 Da nach b'àill le'r n-aithrichibh bhi ùmhal, ach chuir iad uatha *e*, agus 'nan cridhe phill iad air an ais do'n Eiphit,

40 Ag ràdh ri Aaron, Dean dhuinne dée a théid romhainn : oir mu thimchioll a' Mhaois so, a thug a mach sinn a tìr na h-Eiphit, cha 'n'eil fhios againn ciod a dh'éirich dha.

41 Agus rinn iad laogh sna làithibh sin, agus thug iad ìobairt do'n dealbh, agus rinn iad gairdeachas ann an oibribh an làmha féin.

42 An sin phill Dia, agus thug e thairis iad chum aoraidh a dheanamh do armailt nèimhe, a réir mar a ta e sgrìobhta ann an leabhar nam fàidh, An d'thug sibh dhomhsa beathaichean marbhta, agus ìobairte rè dhà fhichead bliadhna anns an fhàsach, O a thigh Israeil ?

43 Seadh, thog sibh suas pàilliun Mholoich, agus reult bhur dé Remphain, dealbhan a rinn sibh chum aoraidh dhoibh : uime sin atharraichidh mi sibh an taobh thall do Bhabilon.

44 Bha pàilliun na fianuis aig ar n-aithrichibh san fhàsach, a réir mar a dh'aithn an tì a labhair ri Maois, gu'n deanadh se e a réir an t-samhlachais[i] a chunnaic e.

45 An nì a thug mar an ceudna ar n-aithriche a bha 'nan déigh, a

an cur réidh. [g] oire a thabhairt. [h] na beo bhriathra. [i] an t-saimpleir.

steach maille ri h-Iosa do sheilbh nan Cinneach, a thilg Dia a mach roimh ghnùis' ar n-aithriche, gu làithibh Dhaibhidh;

46 Neach a fhuair deadh-ghean am fianuis Dhé, agus a dh'iarr paillun fhaotainn do Dhia Iacoib.

47 Ach thog Solamh tigh dha.

48 Gidheadh cha 'n'eil an ti a's àirde a' gabhail còmhnuidh ann an teampluibh làmh-dheanta; mar a deir am fàidh,

49 *'Se* nèamh mo righ-chaithir, agus an talamh stòl mo chos: ciod an tigh a thogas sibh dhomh? a deir an Tighearn: no ciod e ionad mo thàimh?

50 Nach do rinn mo làmh na nithe so uile?

51 A dhaoine cruaidh-mhuinealacha, agus neo-thimchioll-ghearrta ann an cridhe agus ann an cluasaibh, tha sibh a' ghnàth a' cur an aghaidh an Spioraid naoimh: mar *a rinn* bhur n-aithriche, mar sin a ta sibhse *a' deanamh,*

52 Cò do na fàidhibh air nach d'rinn bhur n-aithriche geur-leanmhuinn? agus mharbh siad iadsan a roimh-fhoillsich teachd an Fhìrein ud; air an robh sibhse a nis 'nar luchd-brathaidh, agus 'nar mortairibh:

53 *Sibhse* a fhuair an lagh le frithealadh nan Aingeal, agus nach do choimhid *e.*

54 'Nuair a chual iad na nithe sin, bha iad air an gonadh 'nan cridhe, agus chas iad *am* fiacla ris.

55 Ach air dhasan bhi làn do'n Spiorad naomh, dh'amhairc e gu geur suas gu nèamh, agus chunnaic e glòir Dhé, agus Iosa 'na sheasamh air deas làimh Dhé,

56 Agus thubhairt e, Feuch, tha mi faicinn nan nèamh fosgailte, agus Mac an duine 'na sheasamh air deas làimh Dhé.

57 An sin ghlaodh iadsan le guth mòr, agus dhruid[l] iad an cluasan, agus leum iad air a dh'aon inntinn,

58 Agus air dhoibh a thilgeadh a mach as a' chathair[m], chlach iad *e:* agus thilg na fianuisean an eudach sìos aig cosaibh òganaich, d'am b'ainm Saul.

59 Agus chlach iad Stephan, *agus e* a' gairm air *Criosd,* agus ag ràdh, A Thighearn Iosa, glac mo spiorad.

60 Agus air dha a leigeadh féin air a ghlùinibh, ghlaodh e le guth mòr, A Thighearn, na cuir am peacadh so as an leth. Agus air dha so a ràdh, choidil e.

CAIB. VIII.

1 *Tha an soisgeul air a shearmonach-*
adh ann an Samaria le Philip, a
rinn mòran mhìorbhuilean, agus a
bhaist mòran. agus am measg chàich
Simon an Druidh. 14 *Thainig*
Peadar agus Eoin a dhaingneach-
adh na h-eaglais: le cur an làmh
air an droing a chreid. tha 'n Spio-
rad naomh air a thiodhlacadh:
18 *'nuair a b'àill le Simon an*
tiodhlac ceudna cheannach uatha le
h-airgiod, 20 *tha e air a chronach-*
adh gu geur le Peadar, &c.

AGUS bha Saul ag aontachadh leis a bhàs-san. Agus dh'éirich anns an àm sin geur-leanmhuinn mhòr an aghaidh na h-eaglais a bha ann an Ierusalem; agus bha iad uile air an sgapadh air feadh tìre Iudea agus Shamaria, ach na h-abstoil *a mhàin.*

2 Agus ghiùlain daoine diadhaidh[n] Stephan *chum adhlaic,* agus rinn iad caoidh mhòr air a shon.

3 Ach bha Saul a' fàsachadh na h-eaglais, a' dol a steach do gach tigh; agus ag tarruing a mach fhear agus bhan, chuir e am priosun *iad.*

4 Uime sin dh'imich an droing a sgapadh, feadh gach àite, a' searmonachadh an fhocail.

5 An sin chaidh Philip sìos do bhaile Shamaria, agus shearmonaich e Criosd doibh.

6 Agus thug an sluagh a dh'aon toil aire do na nithibh a labhradh le Philip, ag éisdeachd ris[o], agus a' faicinn nam mìorbhuile a rinn e.

7 Oir chaidh spiorada neo-ghlan a mach a mòran anns an robh iad, a' glaodhaich le guth mòr: agus chaidh mòran air an robh am pairilis[p], agus

[l] *dhùin, stop.* [m] *a' bhaile,* [n] *cràbhach.* [o] *riu.* [p] *crith-ghalar; palsy.* Sasg.

a bha 'nam bacaich, a shlànuchadh.

8 Agus bha gairdeachas mòr sa' bhaile sin.

9 Ach bha roimhe sin duine àraidh sa' bhaile sin d'am b'ainm Simon, a ghnàthaich druidheachd, agus a mheall [r] muinntir Shamaria, ag ràdh gu'm bu neach mòr éigin e féin.

10 Dhasan thug iad uile aire o'n bheag gus a' mhòr, ag ràdh, 'Se 'n duine so cumhachd mòr Dhé.

11 Agus thug iad an aire dha, a chionn gu'n do mheall e iad rè ùine fhada leis a dhruidheachd.

12 Ach an uair a chreid iad Philip, a' searmonachadh nan nithe a bhuineas do rioghachd Dhé, agus do ainm Iosa Criosd, bhaisteadh iad eadar fheara agus mhnài

13 An sin chreid Simon féin mar an ceudna: agus an uair a bhaisteadh e, dh'fhan e maille ri Philip, agus a' faicinn nan comhara agus nam feart a rinneadh, ghabh e iongantas ro mhòr.

14 Agus an uair a chuala na h-abstoil a bha ann an Ierusalem, gu'n do ghabh Samaria focal Dhé, chuir iad d'an ionnsuidh Peadar agus Eoin:

15 Agus air dol sios dhoibh, ghuidh iad air an son gu'm faigheadh iad an Spiorad naomh.

16 (Oir cha d'thainig e fathast a nuas air a h-aon aca: ach a mhàin bhaisteadh iad ann an ainm an Tighearna Iosa.)

17 An sin chuir iad *an* làmhan orra, agus fhuair iad an Spiorad naomh.

18 Agus an uair a chunnaic Simon gu'n robh an Spiorad naomh air a thabhairt tre làmhan nan abstol a chur orra, thairg e airgiod dhoibh,

19 Ag ràdh, Thugaibh dhomhsa mar an ceudna an cumhachd so, gu b'e neach air an cuir mi *mo* làmha, gu'm faigh e an Spiorad naomh.

20 Ach thubhairt Peadar ris, Gu rachadh t'airgiod am mugha maille riut féin, a chionn gu'n do mheas thu gu'm feudadh tiodhlac Dhé a cheannach le h-airgiod.

21 Cha 'n'eil agad cuid no crannchur sa' chùis so: oir cha 'n'eil do chridhe dìreach [s] ann fianuis Dhé.

22 Gabh aithreachas uime sin do t'olc so, agus guidh air Dia, ma dh'fheudar gu maithear dhuit smuaineadh do chridhe.

23 Oir a ta mi 'gad fhaicinn ann an domhlas na seirbhe, agus *fuidh* chuibhreach na h-eucorach.

24 An sin fhreagair Simon, agus thubhairt e, Guidhibhse an Tighearn air mo shon, nach d'thig aon do na nithibh sin a thubhairt sibh orm.

25 An sin air dhoibhsan fianuis a dheanamh agus focal an Tighearna a labhairt, phill iad gu Hierusalem, agus shearmonaich iad an soisgeul ann am mòran do bhailtibh nan Samaritanach.

26 Agus labhair aingeal an Tighearna ri Philip, ag ràdh, Eirich agus imich chum n h-àirde deas, chum na slighe a ta dol sìos o Hierusalem gu Gasa, a ta 'na fhàsach [t].

27 Agus dh'éirich e, agus dh'imich e: agus feuch duine àraidh, caillteanach o Etiopia, aig an robh mòr ùghdarras fuidh Chandace ban-righinn na h-Etiopia, agus a bha os cionn a h-ionmhais uile, agus a bha air teachd gu Hierusalem chum aoradh a dheanamh,

28 Bha e a' [illegible] air ais, agus 'na shuidhe 'na charbad, agus bha e a' leughadh an fhàidh Esaiais.

29 An sin thubhairt an Spiorad ri Philip, Imich am fagus, agus druid ris a' charbad so.

30 Agus ruith Philip d'a ionnsuidh, agus chuala se e a' leughadh an fhàidh Esaiais, agus thubhairt e, Am bheil thu a' tuigsinn nan nithe a tha thu a' leughadh?

31 Agus thubhairt esan, Cionnus is urradh mi, mur seòl neach éigin mi? Agus dh'iarr e air Philip teachd a nìos, agus suidhe maille ris.

32 A' chuibhrionn do'n sgriobtuir a bha e leughadh, b'i so i, Thugadh e mar chaora chum marbhaidh, agus mar uan a ta 'na thosd am fianuis an

[r] *a chuir uamhas air, a chuir 'nam breathal.* [s] *ceart, treibhdhireach.* [t] *troimh 'n fhàsach.*

fhir-lomairt, mar sin cha d'fhosgail
e a bheul:
33 'Na ìsleachadh thugadh a
bhreitheanas air falbh: agus cò a
nochdas a ghinealach? oir thogadh a
bheatha o'n talamh.
34 Agus fhreagair an caillteanach,
agus thubhairt e ri Philip, Guidheam
thu, cia uime deir am fàidh so? uime
féin, no mu neach éigin eile?
35 An sin dh'fhosgail Philip a
bheul, agus a' tòiseachadh o'n sgriob-
tuir sin, shearmonaich e Iosa dha.
36 Agus an uair a dh'imich iad
air an t-slighe, thainig iad gu h-uisge
àraidh: agus thubhairt an caillteanach,
Feuch, uisge; ciod a ta bacadh mise
bhi air mo bhaisteadh?
37 Agus thubhairt Philip, Ma ta
thu a' creidsinn le d' uile chridhe,
feudaidh tu. Agus fhreagair e agus
thubhairt e, Tha mi a' creidsinn gur
e Iosa Criosd Mac Dhé.
38 Agus dh'àithn e 'n carbad a
sheasamh: agus chaidh iad sìos le
chéile do'n uisge, araon Philip agus
an caillteanach; agus bhaist se e.
39 Agus an uair a thainig iad a
nìos as an uisge, thug Spiorad an
Tighearna Philip leis. agus cha'n
fhac an caillteanach tuilleadh e: agus
dh'imich e air aghaidh le gairdeachas.
40 Ach fhuaradh Philip ann an
Asotos: agus shearmonaich e anns
na bailtibh uile, a' dol tre 'n *duthaich*,
gus an d'thainig e gu Cesarea.

CAIB. IX.

1 *Tha Saul, air dha bhi 'g imeachd gu Damascus, air a leagadh sìos gu talamh le solus, agus guth o nèamh: 10 Tha e air a ghairm chum na h-abstolachd, 18 agus air a bhaisteadh le Ananias: 20 Tha e searmonachadh Chriosd gu dàna. 23 Tha na h-Iudhaich, agus mar an ceudna na Greugaich a' cur comhairle ri chéile chum a mharbh-adh: &c.*

AGUS air do Shaul bhi fathast a'
séideadh bagraidh, agus àir[u]
an aghaidh dheisciobul an Tighearna,
chaidh e chum an àrd shagairt.
2 Agus dh'iarr e litrichean uaith
gu Damascus chum nan sionagog,
chor nam faigheadh e aon neach do'n
t-slighe so, co aca b'fhir no mnài iad,
gu'n d'thugadh e leis ceangailte gu
Hierusalem iad.
3 Agus ag imeachd dha, tharladh[a]
gu'n do dhruid e ri Damascus: agus
dhealraich gu h-obann mu'n cuairt
air solus o nèamh.
4 Agus air tuiteam dha air an
talamh, chual e guth ag ràdh, ris, A
Shauil, A Shauil, c'ar son a ta thu
'gam gheur-leanmhuinnse?
5 Agus thubhairt esan, Cò thu, a
Thighearn? Agus thubhairt an
Tighearn, Is mise Iosa a tha thusa a'
geur-leanmhuinn: *is* cruaidh dhuitse
breabadh an aghaidh nan dealg.
6 Agus air dhasan bhi air chrith
agus làn uamhainn, thubhairt e, A
Thighearn, ciod is àill leat mise a
dheanamh? Agus *thubhairt* an
Tighearn ris, Eirich, agus rach[b] a
steach do'n bhaile, agus innsear dhuit
ciod is còir dhuit a dheanamh.
7 Agus sheas na daoine bha 'g im-
eachd maille ris 'nan tosd, a' cluinnt-
inn a' ghutha, ach gun neach air bith
fhaicinn.
8 Agus dh'éirich Saul o'n talamh,
agus air fosgladh a shùl dha, cha'n
fhac e neach[c] air bith: ach air
dhoibh breith air a làimh, threòraich
iad *e* gu Damascus.
9 Agus bha e tri làithean gun
radharc, agus cha d'ith agus cha d'òl
e ni air bith.
10 Agus bha deisciobul àraidh ann
an Damascus, d'am b'ainm Ananias,
agus thubhairt an Tighearn ris ann
am foillsicheadh[d], Ananiais. Agus
thubhairt esan, Feuch *a ta* mi *'n so*,
a Thighearn.
11 Agus *thubhairt* an Tighearn
ris, Eirich, agus imich do'n t-sràid,
d'an goirear Direach, agus iarr ann
an tigh Iudais, duine o Tharsus d'an
goirear Saul: oir feuch, a ta e ri
ùrnuigh.
12 Agus chunnaic e ann am foill-
seachadh duine d'an ainm Ananias,
a' teachd a steach, agus a' cur *a*
làimhe air, chum gu'm faigheadh e a
radharc.

[u] *marbhaidh.* [a] *thachair.* [b] *theirig, gabh.* [c] *ni.* [e] *sealladh.*

13 An sin fhreagair Ananias, A Thighearn, chuala mi o mhòran mu'n duine so, cia lìon olc a rinn e do d' naomhaibh ann an Ierusalem:

14 Agus a ta an so ùghdarras aige o uachdaranaibh nan sagart, iadsan uile a cheangal a ta gairm air t'ainm-sa[e].

15 Ach thubhairt an Tighearn ris, Imich; oir is soitheach taghta dhomhsa e, chum m'ainm a ghiùlan am fianuis nan Cinneach, agus righrean, agus chloinn Israeil.

16 Oir nochdaidh mise dha cia mòr na nithe a's éigin da fhulang air sgàth m'ainmese.

17 Agus dh'imich Ananias, agus chaidh e steach do'n tigh; agus ag cur a làmh air, thubhairt e, A Shauil, a bhràthair, chuir an Tighearn (*eadhon* Iosa a dh'fhoillsicheadh dhuitse anns an t-slighe air an d'thainig thu) mise chum gu'm faigheadh tu do radhare, agus gu'm biodh tu air do lìonadh leis an Spiorad naomh.

18 Agus air ball thuit o shùilibh mar gu'm biodh lannan; agus dh'aisigeadh a radhare dha gun dàil, agus air dha éirigh, bhaisteadh e.

19 Agus air gabhail bìdh dha, neartaicheadh e. An sin bha Saul làithean àraidh maille ris na deisciobluibh a bha ann an Damascus.

20 Agus air ball shearmonaich e Iosa[f] anns na sionagogaibh, gur esan Mac Dhé.

21 Ach bha na h-uile a chual e fa uamhas, agus thubhairt iad, Nach e so esan a bha sgrios ann an Ierusalem iadsan a bha gairm air an ainm so, agus a thainig an so chum na crìche so, gu'n d'thugadh e ceangailte iad dh'ionnsuidh uachdarana nan sagart?

22 Ach bu mhòid a neartaicheadh Saul, agus chuir e gu h-amhluadh na h-Iudhaich a bha chòmhnuidh ann an Damascus, a' dearbhadh gur e so an Criosd.

23 Agus air dol do mhòran làithean seachad, rinn na h-Iudhaich comhairle r'a chéile esan a mharbhadh.

24 Ach thugadh fios do Shaul air am feill[g]: agus bha faire aca air na geataibh a là agus a dh'oidhche chum a mharbhadh.

25 An sin ghabh na deisciobuil e san oidhche, agus chuir iad a mach thar a' bhalladh e, agus leig iad sìos ann an cliabh *e*.

26 Agus an uair a thainig Saul gu Hierusalem, dh'fheuch e ri e féin a cheangal ris na deisciobluibh: ach bha eagal orra uile roimhe, agus cha do chreid iad gu'm bu deisciobul e.

27 Ach ghabh Barnabas d'a ionnsuidh e, agus thug e chum nan abstol *e*, agus chuir e'n céill doibh cionnus a chunnaic e'n Tighearn anns an t-slighe, agus gu'n do labhair e ris, agus cionnus a shearmonaich e gu dàna ann 'an Damascus an ainm Iosa.

28 Agus bha e maille riu a' teachd a steach, agus a' dol a mach ann an Ierusalem.

29 Agus labhair e gu dàna an ainm an Tighearna Iosa, agus rinn e deasboireachd an aghaidh nan Greugach: ach chuir iadsan rompa esan a mharbhadh.

30 Ach an uair a thuig na bràithre *so*, thug iad sìos e gu Cesarea, agus chuir iad air falbh gu Tarsus e.

31 An sin bha fois aig na h-eaglaisibh tre Iudea uile, agus Ghalile, agus Shamaria, [illegible]ir dhoibh bhi air an togail suas, agus a' siubhal ann an eagal an Tighearna, agus ann an comhfhurtachd[h] an Spioraid naoimh, mheudaicheadh gu mòr iad.

32 Agus tharladh, air do Pheadar imeachd tre gach *àite*, gu'n deachaidh e sìos mar an ceudna chum nan naomh a bha gabhail còmhnuidh ann an Lida.

33 Agus fhuair e an sin duine àraidh d'am b'ainm Eneas, a bha rè ochd bliadhna air a leabaidh, agus e gu tinn leis a' phairilis[i].

34 Agus thubhairt Peadar ris, Eneais, tha Iosa Criosd ga d' leigheas: éirich agus dean do leaba. Agus air ball dh'éirich e.

35 Agus chunnaic iadsan uile e, a

[e] *a tha air an gairm air t'ainm.* [f] *Criosd.* [g] *ceilg.*
[h] *còmhnadh, cuideachadh.* [i] *chrith-ghalar.*

bha chòmhnuidh ann an Lida, agus *ann* an Saron, agus phill iad chum an Tighearna.

36 A nis bha ban-deisciobul àraidh ann an Iopa d'am b'ainm Tabita, 'se sin, air eadar-theangachadh, Dorcas: bha a' bhean so làn do dheadh oibribh, agus do dhéircibh a rinn i.

37 Agus tharladh anns na làithibh sin, air dh'i bhi gu tinn gu'n d'fhuair i bàs: Agus air dhoibh a h-ionnlad, chuir iad ann an seòmar uachdarach *i*.

38 Agus air do Lida bhi fagus do Iopa, *agus* air cluinntinn do na deisciobluibh gu'n robh Peadar an sin, chuir iad dithis dhaoine d'a ionnsuidh, a' guidheadh *air* e theachd d'an ionnsuidh gun dàil.

39 An sin dh'éirich Peadar, agus chaidh e maille riu. Agus an uair a bha e air teachd, threòraich iad suas e do'n t-seòmar uachdarach: agus sheas na bantraichean uile làimh ris a' caoineadh, agus a' nochdadh nan còta agus nan truscan a rinn Dorcas am feadh a bha i maille riu.

40 Ach air do Pheadar an cur a mach uile, leig se e féin air a ghlùinibh agus rinn e ùrnuigh, agus air dha tionndadh ris a' chorp, thubhairt e, A Thabita, éirich. Agus dh'fhosgail ise a sùilean: Agus air dh'i Peadar fhaicinn, dh'éirich i 'na suidhe.

41 Agus thug e a làmh dh'i, agus thog e 'na seasamh i; agus an uair a ghairm e na naoimh agus na bantraichean, chuir e 'nan làthair beo i.

42 Agus fhuaradh fios air so tre Iopa uile; agus chreid mòran anns an Tighearna.

43 Agus tharladh gu'n d'fhan e mòran do làithibh ann an Iopa maille ri Simon àraidh fear-deasachaidh leathair.

CAIB. X.

1 Air do Chornelius, duine cràbhach, àithne fhaghail o aingeal, chuir e fios air Peadar, 11 a tha air a theagasg ann an taisbean gun e dheanamh tàir air na Cinneachaibh: 34 Am feadh a ta e searmonachadh Chriosd do Chornelius agus d'a chuideachd, tha'n Spiorad naomh a' teachd a nuas orra, agus tha iad air am baisteadh.

AGUS bha duine àraidh ann an Cesarea, d'am b'ainm Cornelius, ceannard-ceud do'n chuideachd d'an goirear *a' chuideachd* Eadailteach,

2 *Duine* cràbhach, agus air an robh eagal Dé maille r'a thigh uile, a bha toirt mòrain déirce do'n t-sluagh, agus a' deanamh ùrnuigh ri Dia a ghnàth.

3 Chunnaic e ann an sealladh[l] gu soilleir, mu thimchioll na naothadh uaire do'n là, aingeal Dé a' teachd a stigh d'a ionnsuidh, agus ag ràdh, A Chorneliuis.

4 Agus air dhasan amharc gu geur air, ghabh e eagal, agus thubhairt e, Ciod e, a Thighearn? Agus thubhairt e ris, Chaidh t'ùrnuighean agus do dhéircean suas mar chuimhneachan ann am fianuis Dé.

5 Agus a nis cuir daoine gu Iopa, agus cuir fios air Simon, d'an comhainm Peadar:

6 Tha e air aoidheachd maille ri Simon àraidh fear-deasachaidh leathair, aig am bheil a thigh làimh ris an fhairge: innsidh esan duit ciod is còir dhuit a dheanamh.

7 Agus an uair a dh'fhalbh an t-aingeal a labhair ri Cornelius, ghairm e d'a ionnsuidh dithis do mhuinntir a thighe, agus saighdear cràbhach do'n dream a bha ghnàth a' feitheamh air:

8 Agus an uair a chuir e an t-iomlan an céill doibh, chuir e iad gu Iopa.

9 Agus air an là màireach, 'nuair a bha iadsan air an turus, agus a' teachd am fagus do'n bhaile, chaidh Peadar suas air mullach an tighe a dheanamh ùrnuigh, mu thimchioll na seathadh uaire[m].

10 Agus dh'fhàs e ro ocrach, agus bu mhiann leis *biadh* itheadh: ach am feadh a' bha iadsan ag ulluchadh, thuit e ann an neul.

11 Agus chunnaic e nèamh fosgailte, agus soitheach àraidh a' teachd

[l] *foillseachadh, taisbeanadh.* [m] *i. e. meadhon-là.*

a nuas d'a ionnsuidh, mar bhraith-lìn[n] mhòir, ceangailte air a ceithir beannaibh[o], agus air a leigeadh sìos air an talamh:

12 Anns an robh gach uile ghnè bheathaiche ceithir-chosach na talmhainn, agus bheathaiche allta, agus bhiasda snaigeach, agus eunlaith an athair.

13 Agus thainig guth d'a ionnsuidh, Eirich, a Pheadair; marbh agus ith.

14 Ach thubhairt Peadar, Ni h-eadh, a Thighearn; oir cha d'ith mi riamh aon ni coitchionn[p] no neoghlan.

15 Agus *thubhairt* an guth ris a rìs an daradh uair, Na nithe sin a ghlan Dia, na gairm thusa coitchionn.

16 Agus rinneadh so tri uairean: agus thogadh an soitheach a rìs suas gu neamh.

17 A nis an uair a bha Peadar fuidh amharus ann féin ciod bu chiall do'n t-sealladh a chunnaic e, feuch, bha na daoine a chuireadh o Chornelius, an déigh dhoibh tigh Shimoin iarraidh, 'nan seasamh aig an dorus.

18 Agus air gairm dhoibh, dh'fheòraich iad an robh Simon d'an comh-ainm Peadar, air aoidheachd an sin.

19 Am feadh a bha Peadar a' smuaineachadh air an t-sealladh, thubhairt an Spiorad ris, Feuch, tha triuir dhaoine ga d' iarraidh.

20 Uime sin éirich, agus gabh sìos, agus imich maille riu, gun amharus air bith a bhi ort: oir is mise a chuir uam iad.

21 Agus chaidh Peadar sìos chum nan daoine [a chuireadh d'a ionnsuidh o Chornelius;] agus thubhairt e, Feuch, is mise an ti a tha sibh ag iarraidh: ciod e an t-aobhar mu'n d'thainig sibh?

22 Agus thubhairt iadsan, Fhuair Cornelius an ceannard-ceud, duine cothromach, air am bheil eagal Dé, agus fuidh dheadh ainm[r] aig cinneach nan Iudhach uile, rabhadh o Dhia le aingeal naomha, fios a chur ortsa d'a thigh, agus briathran a chluinntinn uait.

23 An sin ghairm e steach iad, agus thug e aoidheachd *dhoibh*. Agus air an latha màireach dh'imich Peadar maille riu, agus chaidh dream àraidh do na bràithribh o Iopa maraon ris.

24 Agus air an là màireach chaidh iad a steach do Chesarea: agus bha Cornelius a' feitheamh *riu*, agus air gairm a luchd dàimh agus a chàirde dìsle an ceann a chéile.

25 Agus an uair a bha Peadar a' dol a steach, choinnich Cornelius e, agus thuit e sìos aig a chòsaibh, agus rinn e aoradh *dha*.

26 Ach thog Peadar suas e, ag ràdh, Seas suas; is duine mise mar an ceudna.

27 Agus ag còmhradh ris, chaidh e steach, agus fhuair e mòran cruinn.

28 Agus thubhairt e riu, Tha fios agaibh gu bheil e mi-dhligheach do dhuine a tha 'na Iudhach, comhluadar a chumail ri neach a tha do chinneach eile, no teachd am fagus da: ach nochd Dia dhomhsa, gun duine air bith a ghairm coitchionn no neo-ghlan.

29 Uime sin thainig mise 'nuair a chuireadh fios orm, gun aon ni a ràdh 'na aghaidh: air an aobhar sin tha mi feòraich c'ar son a chuir sibh fios orm.

30 Agus thubhairt Cornelius, O'n cheathramh là gus an uair so bha mi a' deanamh trosgaidh, agus air an naothadh uair bha mi deanamh ùrnuigh ann mo thigh, agus feuch, sheas duine a'm' làthair ann an eudach dealrach[s],

31 Agus thubhairt e, A Chorneliuis, dh'éisdeadh t'ùrnuigh, agus tha do dhéircean air an cuimhneachadh am fianuis Dé.

32 Uime sin cuir gu Iopa, agus cuir fios air Simon, d'an comh-ainm Peadar; tha e air aoidheachd ann an tigh Shimoin fear-deasachaidh leathair, làimh ris a' mhuir; neach 'nuair a thig e, a labhras riut.

33 Uime sin chuir mi air ball fios ort; agus is maith a rinn thu teachd. Air an aobhar sin tha sinne uile an

[n] *lìon-eudach.* [o] *oisnibh.* [p] *cumanta.* [r] *air am bheil deadh theisteas.* [s] *ro-gheal.*

se a làthair am fianuis Dé, a dh'éisdeachd nan uile nithe a tha air an àithneadh dhuitse le Dia.

34 An sin dh'fhosgail Peadar a bheul, agus thubhairt e, Gu firinneach tha mi 'g aithneachadh nach 'eil Dia ag amharc air pearsaibh seach a chéile:

35 Ach anns gach uile chinneach a ta an neach air am bheil eagalsan, agus a ta 'g oibreachadh fìreantachd, taitneach aige.

36 Am focal a chuir Dia gu clann Israeil, a' searmonachadh sìth tre Iosa Criosd (neach is e Tighearna nan uile,)

37 Am focal sin is aithne dhuibh, a sgaoileadh air feadh tìre Iudea uile, agus a thòisich o Ghalile, an déigh a' bhaistidh a shearmonaich Eoin:

38 Cionnus a dh'ùng Dia Iosa o Nasaret leis an Spiorad naomh, agus le cumhachd; neach a chaidh m'an cuairt a' deanamh maith, agus a' slànuchadh nan uile a bha air am foireigneachadh[t] leis an diabhol: oir bha Dia maille ris.

39 Agus tha sinne 'nar fianuisibh air na h-uile nithibh a rinn e, araon ann an tìr nan Iudhach, agus ann an Ierusalem; neach a mharbh iad, 'ga chrochadh air crann:

40 Esan thog Dia suas air an treas là, agus nochd se e gu follaiseach.

41 Cha'n ann do'n t-sluagh uile, ach do fhianuisibh, a thaghadh le Dia roimh-làimh, *eadhon* dhuinne, a dh'ith agus a dh'òl maille ris an déigh dha éirigh o na marbhaibh.

42 Agus dh'àithn e dhuinne searmonachadh do'n t-sluagh, agus fianuis a dheanamh gur esan a dh'orduicheadh le Dia 'na bhreitheamh air bheothaibh agus air mharbhaibh.

43 Dhasan tha na fàidhean uile a' toirt fianuis, gu'm faigh gach neach a chreideas ann maitheanas 'nam peacadh trìd ainmsan.

44 Am feadh a bha Peadar fathast a' labhairt nam briathar sin, thuirling[u] an Spiorad naomh orrasan uile a chual am focal.

45 Agus ghabh na creidmhich do'n timchioll-ghearradh, a mheud diubh 'sa thainig maille ri Peadar, ionganțas mòr, do bhrigh gu'n do dhoirteadh air na Cinneachaibh mar an ceudna tiodhlac an Spioraid naoimh.

46 Oir chuala siad iad a' labhairt le teangaibh, agus ag àrd-mholadh Dhé. An sin fhreagair Peadar,

47 Am feud neach sam bith uisge a thoirmeasg, chum nach rachadh iad so a bhaisteadh, a fhuair an Spiorad naomh, co maith ruinne?

48 Agus dh'orduich e iad a bhi air am baisteadh ann an ainm an Tighearna. An sin ghuidh iad air fantuinn *maille riu* làithean àraidh.

CAIB. XI.

1 *Fhuaradh cron do Pheadar air son comhluadar a ghleidheadh ris na Cinneachaibh: 4 tha e 'g innseadh a reusoin, agus tha sin a' taitneadh r'a luchd-dìtidh. 19 Tha'n soisgeul air a sgaoileadh feadh Phenice, agus Chipruis, agus Antioch. 26 Tha na deisciobuil air an ainmeachadh 'nan Criosduidhean air tùs ann an Antioch, &c.*

AGUS chuala na h-abstoil agus na bràithrean a bha ann an Iudea, gu'n do ghabh na Cinnich mar an ceudna ri focal Dé.

2 Agus an uair a chaidh Peadar suas gu Hierusalem, rinn iadsan a bha do'n timchioll-ghearradh conspoid ris,

3 Ag ràdh, Chaidh thu steach a dh'ionnsuidh dhaoine nach robh air an timchioll-ghearradh, agus dh'ith thu maille riu.

4 Agus thòisich Peadar, agus chuir e'n *t-iomlan* an céill doibh an ordugh, ag ràdh,

5 Bha mi ann an cathair[a] Iopa ri ùrnuigh; agus ann an neul chunnaic mi sealladh, soitheach àraidh a' teachd a nuas, mar bhraith-lìn mhoir, air a leigeadh a nuas o nèamh air a ceithir beannaibh[b]; agus thainig i a'm' ionnsuidhse.

6 Agus air dhomh beachdachadh gu geur oirre, thug mi fainear, agus chunnaic mi beathaiche ceithir-chosach na talmhainn, agus na fiadh-bheathaiche, agus na biasda snàigeach, agus eunlaith an athair.

[t] *thugadh fuidh cheannsal.* [u] *thuit.* [a] *baile.* [b] *oisnibh.*

7 Agus chuala mi guth ag ràdh
rium, Eirich, a Pheadair; marbh
agus ith.
8 Ach thubhairt mise, Ni h-eadh,
a Thighearn: oir cha deachaidh
riamh aon ni coitchionn no neo-ghlan
a steach do m' bheul.
9 Ach fhreagair an guth mi an
daradh uair o nèamh, Na nithe a
ghlan Dia na meas thusa neo-
ghlan [c].
10 Agus rinneadh so tri uairean:
agus thogadh an t-iomlan a rìs suas
gu nèamh.
11 Agus feuch, air ball bha triuir
dhaoine air teachd chum an tighe
anns an robh mi, a chuireadh o Ches-
area do m' ionnsuidh.
12 Agus thubhairt an Spiorad
rium dol maille riu, gun amharus air
bith a bhi orm. Agus chaidh mar
an ceudna an t-seathnar bhràithre so
maille rium, agus chaidh sinn a steach
do thigh an duine:
13 Agus nochd e dhuinn cionnus
a chunnaic e aingeal 'na sheasamh
'na thigh, a thubhairt ris, Cuir daoine
gu Iopa, agus cuir fios air Simon,
d'an comh-ainm Peadar:
14 Neach a labhras briathra riut,
leis an saorar thu féin agus do thigh
uile.
15 Agus an uair a thòisich mi air
labhairt, thuirling [d] an Spiorad naomh
orrasan, mar oirrne air tùs.
16 An sin chuimhnich mise focal
an Tighearna, mar a thubhairt e,
Bhaist Eoin gun amharus le h-uisge;
ach baistear sibhse leis an Spiorad
naomh.
17 Uime sin ma thug Dia dhoibh-
san a choimh-ionann tiodhlaca ruinne,
a chreid anns an Tighearn Iosa
Criosd, cò mise gu'm bithinn comas-
ach bacadh a chur air Dia.
18 Agus an uair a chual iad na
nithe so, thosd iad, agus thug iad
glòir do Dhia, ag ràdh, Thug Dia
ma seadh mar an ceudna do na
Cinneachaibh aithreachas chum na
beatha.
19 A nis chaidh iadsan a sgapadh
a mach leis an àmhghar [e] a dh'éirich
air son Stephain, gu ruig Phenice,
agus Ciprus, agus Antioch, gun an
focal a labhairt ri aon neach ach ris
na h-Iudhachaibh a mhàin.
20 Agus bha cuid diubh o Chiprus,
agus o Chirene, dream air dhoibh dol
a steach do Antioch, a labhair ris na
Greugachaibh, a' searmonachadh an
Tighearna Iosa.
21 Agus bha làmh an Tighearna
maille riu: agus chreid àireamh
mhòr, agus phill iad chum an Tigh-
earna.
22 Agus thainig sgeula air na
nithibh sin gu cluasaibh na h-eaglais
a bha ann an Ierusalem: agus chuir
iad Barnabas uatha, chum gu'n rach-
adh e gu h-Antioch.
23 Neach an uair a thainig e, agus
a chunnaic e grasa Dhé, a rinn gair-
deachas, agus a dh'earail orra uile,
gu'n dlùth-leanadh iad ris an Tigh-
earn le rùn cridhe.
24 Oir bha e 'na dhuine maith,
agus làn do'n Spiorad naomh, agus
do chreidimh. Agus chuireadh sluagh
mòr ris an Tighearn.
25 An sin chaidh Barnabas gu
Tarsus, a dh'iarraidh Shauil.
26 Agus air dha fhaotainn, thug
e leis e gu h-Antioch. Agus thar-
ladh, gu'n robh iad rè bliadhna iom-
lain air an cruinneachadh maille ris
an eaglais, agus gu'n do theagaisg
iad sluagh mòr; agus gu'n do ghoir-
eadh Criosdaidhean o na deisciob-
luibh air tùs ann an Antioch.
27 Agus anns na làithibh sin
thainig fàidhean o Hierusalem gu
h-Antioch.
28 Agus air seasamh suas do aon
diubh d'am b'ainm Agabus, dh'fhoill-
sich e tre an Spiorad, gu'm biodh
gorta mhòr air feadh an domhain
uile [f]: ni mar an ceudna a thachair
ri linn Chlaudiuis Cheasair.
29 An sin chuir gach aon do na
deisciobluibh roimhe, a réir a chom-
ais, còmhnadh a chur chum nam
bràithrean a bha chòmhnuidh ann an
Iudea.
30 Ni mar an ceudna a rinn
iad, agus chuir iad e chum nan
seanair le làimh Bharnabais agus
Shauil.

[c] *coitchionn.* [d] *thuit.* [e] *trioblaid.* [f] *na tìre uile.*

CAIB. XII.

*1 Tha Righ Herod a' deanamh geur-
leanmhuinn air na Criosdaidhibh, a'
marbhadh Sheumais, agus a' cur
Pheadair am priosun, neach a ta air
a thoirt a mach le aingeal tre ùr-
nuighibh na h-eaglais: 23 Tha
Herod air a bhualadh le h-aingeal,
agus a' bàsachadh gu truagh: 24
Tha focal Dé an déigh a bhàis-san
a' soirbheachadh.*

ANIS mu'n àm sin, shìn Herod an righ *a* làmhan, a dheanamh uilc air dream àraidh do'n eaglais.

2 Agus mharbh e Seumas bràthair Eoin leis a' chlaidheamh.

3 Agus an uair a chunnaic e gu'n do thaitinn sin ris na h-Iudhachaibh, chaidh e air aghaidh a ghlacadh Pheadair mar an ceudna. (Agus b'iad làithean an arain neo-ghoirtichte a bh'ann.)

4 Agus ghlac e agus chuir e'm priosun e, agus thug se e r'a gleidheadh do cheithir cheathrar shaighdear, fa rùn a thoirt a mach do'n t-sluagh an déigh na càisge.

5 Air an aobhar sin ghleidheadh Peadar anns a' phriosun: ach bha bith-ùrnuigh[g] air a deanamh leis an eaglais ri Dia air a shon.

6 Agus an uair a b'àill le Herod a thoirt a mach, san oidhche sin féin bha Peadar 'na chadal eadar dithis shaighdear, ceangailte le dà shlabhruidh: agus bha'n luchd-faire fa chomhair an doruis a' coimhead a' phriosuin.

7 Agus feuch, thainig aingeal an Tighearna air, agus dhealraich solus anns a' phriosun: agus air bualadh taoibh Pheadair dha, dhùisg se e, ag ràdh, Eirich gu grad. Agus thuit a cheanglaiche d'a làmhaibh.

8 Agus thubhairt an t-aingeal ris, Criosraich thu féin, agus ceangail ort do bhonn-bhrògan[h]: agus rinn e mar sin. Agus a deir e ris, Tilg t'fhalluing[i] umad, agus lean mise.

9 Agus chaidh e mach, agus lean se e, agus cha robh fhios aige gu'n robh e fìor an ni a rinneadh leis an aingeal: ach shaoil e gu'm bu taisbean[l] a chunnaic e.

10 Agus air dhoibh dol tre 'n cheud agus an dara faire, thainig iad chum a' gheataidh iaruinn a ta treòrachadh do'n bhaile, a dh'fhosgail doibh leis féin: agus air dol a mach dhoibh, chaidh iad air an aghaidh tre aon sràid, agus air ball dh'fhalbh an t-aingeal uaith.

11 Agus an uair a thainig Peadar chuige féin, thubhairt e, A nis tha fhios agam gu fìrinneach gu'n do chuir an Tighearn aingeal uaith, agus gu'n do shaor e mi o làimh Heroid, agus *o* uile dhùil pobuil nan Iudhach.

12 Agus an uair a smuainich *e air a' chùis*, thainig e gu tigh Mhuire màthar Eoin, d'an comh-ainm Marcus, far an robh mòran cruinn, agus iad ri ùrnuigh.

13 Agus an uair a bha Peadar a' bualadh doruis a' gheataidh, thainig gruagach d'am b'ainm Rhoda a dh'éisdeachd.

14 Agus an uair a dh'aithnich i guth Pheadair, tre aoibhneas cha d'fhosgail i'n geata, ach ruith i stigh, agus dh'innis i gu'n robh Peadar 'na sheasamh aig a gheata.

15 Ach thubhairt iad rithe, Tha thu air mbi-chéill. Ach bha ise toirt dearbh-chinnte[m] gu'n robh e mar sin. An sin, thubhairt iad, 'Se 'aingeal a ta ann.

16 Ach bhuanaich Peadar a' bualadh *an doruis*: agus an uair a dh'fhosgail iad, agus a chunnaic iad e, bha iad làn uamhais.

17 Ach air dhasan smèideadh orra le a làimh iad a bhi 'nan tosd, chuir e'n céill doibh cionnus a thug an Tighearn as a' phriosun e. Agus thubhairt e, Innsibh na nithe so do na bràithribh. Agus air dol a mach dha, chaidh e gu àit eile.

18 Agus air teachd do'n là bha iomairt[n] nach bu bheag am measg nan saighdear, ciod a thachair do Pheadar.

19 Agus air do Herod iarraidh, agus gun fhaotainn, rannsaich e an

[g] *gnàth-ùrnuigh, sìor-ùrnuigh.* [h] *chuarain.* [i] *do bhrat, t'eudach-uachdair.* [l] *sheàlladh.* [m] *a' cathachadh.* [n] *buaireas.*

luchd-coimhead, agus dh'orduich e an toirt air falbh *chum peanais.* Agus chaidh e sìos o Iudea gu Cesarea, agus rinn e còmhnuidh *an sin.*

20 Agus bha fearg mhòr aig Herod ri muinntir Thiruis agus Shidoin: ach thainig iadsan a dh'aon inntinn d'a ionnsuidh, agus air dhoibh Blastus seomradair an righ a thoirt air an crann, dh'iarr iad sìth; do bhrigh gu'n robh an tìr air a beathachadh le *tìr* an righ.

21 Agus air là orduichte, air do Heród bhi air a sgeudachadh le eudach rìoghail, agus na shuidhe air a righ-chaithir, labhair e gu deasbhriathrach riu[o].

22 Agus rinn an sluagh gair[p], *ag radh, Is* guth Dé *so,* agus cha *ghuth* duine.

23 Agus air ball bhuail aingeal an Tighearn' e, do bhrigh nach d'thug e a' ghlòir do Dhia: agus dh'itheadh le cnuimhibh e, agus chaidh an deo as.

24 Ach dh'fhàs focal an Tighearna agus mheudaicheadh e.

25 Agus phill Barnabas agus Saul o Hierusalem, air dhoibh *am* ministreileachd a choimhlionadh, a' toirt leo mar an ceudna Eoin, d'an comhainm Marcus.

CAIB. XIII.

1 *Tha Pòl agus Barnabas air an taghadh gu dol chum nan Cinneach.* 7 *Mu thimchioll Shergiuis Pauluis, agus Elimais an druidh.* 14 *A ta Pòl a' searmonachadh aig Antioch, gur e Iosa an Criosd.* 42 *Tha na Cinnich a' creidsinn; &c.*

ANIS bha anns an eaglais a bha aig Antioch, fàidhean, agus luchd-teagaisg àraidh; mar a ta Barnabas, agus Simeon d'an goirear Niger, agus Lucius o Chirene, agus Manaen, comhalta Heroid an Tetrairch, agus Saul.

2 Agus air bhi dhoibh ri ministreileachd do'n Tighearn, agus a' trosgadh, thubhairt an Spiorad naomh, Cuiribh a leth dhombsa Barnabas agus Saul, chum na h-oibre gus an do ghairm mi iad.

3 An sin air dhoibh trosgadh agus ùrnuigh a dheanamh, agus an làmhan a chur orra, leig iad uatha *iad.*

4 Mar sin air dhoibhsan a bhi air an cur a mach leis an Spiorad naomh, chaidh iad sìos gu Seleucia; agus o sin sheòl iad gu Ciprus.

5 Agus air bhi dhoibh ann an Salamis, shearmonaich iad focal Dé ann an sionagogaibh nan Iudhach: agus bha mar an ceudna Eoin aca mar fhear-frithealaidh.

6 Agus an uair a chaidh iad tre'n eilean gu Paphos, fhuair iad druidh àraidh, fàidh bréige, Iudhach, d'am b'ainm Bariesus:

7 Neach a bha maille ri Sergius Paulus an t-uachdaran, duine tuigseach; air dhasan Barnabas agus Saul a ghairm d'a ionnsuidh, dh'iarr e focal Dé a chluinntinn.

8 Ach chuir Elimas an druidh (oir is ann mar so a dh'eadar-theangaichear ainm) 'nan aghaidh, ag iarraidh an t-uachdaran a thionndadh o'n chreidimh.

9 An sin air bhi do Shaul (d'a'n *goirear* Pòl) làn do'n Spiorad naomh, agus ag amharc gu geur air,

10 Thubhairt e, O thusa a ta làn do'n uile cheilg, agus do'n uile dhroch-bheirt, a mhic an diabhoil, a nàmhaid na h-uile fhìreantachd, nach sguir thu do fhiaradh shlighean dìreach an Tighearna?

11 Agus feuch a nis, *tha* làmh an Tighearna ort, agus bithidh tu dall, gun a' ghrian fhaicinn rè tamuill. Agus air ball thuit ceò agus dorchadas air; agus a' tionndadh m'an cuairt, dh'iarr e dream a threòraicheadh air làimh e.

12 An sin an uair a chunnaic an t-uachdaran an ni a rinneadh, chreid e, air dha bhi làn iongantais mu theagasg an Tighearna.

13 Agus air gabhail luinge do Phòl agus d'a chuideachd o Phaphos, thainig iad gu Perga na Pamphilia: agus air do Eoin am fàgail, phill e gu Hierusalem.

14 Ach air dhoibhsan imeachd o Pherga, thainig iad gu Antioch na Pisidia, agus chaidh iad a steach do'n

[o] *rinn e òraid doibh.* [p] *iolach.*

t-sionagog air latha na sàbaid, agus shuidh iad.

15 Agus an déigh leughadh an lagha agus nam Fàidh, chuir uachdarain na sionagoige d'an ionnsuidh, ag ràdh, Fheara *agus* a bhràithre, ma tha focal earail agaibh do'n t-sluagh, abraibh *e.*

16 An sin an uair a sheas Pòl suas agus a smèid e orra le làimh, thubhairt e, Fheara Israeil, agus sibhse air am bheil eagal Dé, éisdibh.

17 Thagh Dia a' phobuill so Israil ar n-aithriche, agus dh'àrdaich e'm pobull, 'nuair a bha iad air choigrich ann an talamh na h-Eiphit, agus le làimh àrd thug e iad a mach aisde.

18 Agus mu thimchioll ùine dhà fhichead bliadhna ghiùlain e le'm beusaibh[r] anns an fhàsach.

19 Agus an uair a sgrios e seachd cinnich ann an tìr Chanaain, roinn e am fearann orrasan le crannchur.

20 Agus 'na dhéigh sin mu thimchioll ceithir cheud agus leth-cheud bliadhna, thug e *dhoibh* breitheamhna, gu Samuel am fàidh.

21 Agus 'na dhéigh sin dh'iarr iad righ: agus thug Dia dhoibh Saul mac Chis, duine do thréibh Bheniamin, rè dha fhichead bliadhna.

22 Agus air dha esan atharrachadh, thog e suas Diabhidh gu bhi 'na righ dhoibh; d'an d'thug e mar an ceudna fianuis, ag ràdh, Fhuair mi Daibhidh *mac* Iese, duine a réir mo chridhe féin, a ni m'uile thoil.

23 Do shliochd an duine so thog Dia suas do Israel a réir *a* gheallaidh, Slànuighear, *eadhon* Iosa:

24 Air do Eoin roimh a theachdsan, baisteadh an aithreachais air tùs a shearmonachadh do phobull Israeil uile.

25 Agus mar a choimhlion Eoin a thriall[s], thubhairt e, An ti a ta sibh a' saoilsinn is mise, cha mhi *e.* Ach feuch, a ta neach a' teachd a'm' dhéigh, nach fiu mi brògan a chos fhuasgladh.

26 Fheara *agus* a bhràithre, a chlann fine Abrahaim, agus a mheud agaibh air am bheil eagal Dé, 's ann chugaibhs' a chuireadh focal na slàinte so,

27 Oir iadsan a ta chòmhnuidh ann an Ierusalem, agus an uachdarain, air dhoibh bhi aineolach airsan, agus air foclaibh nam Fàidh a ta air an leughadh gach sàbaid, le *esan* a dh'leadh choimhlion siad *iad.*

28 Agus ge nach d'fhuair iad coire bàis air bith *ann,* dh'iarr iad air Pilat gu'n cuirteadh esan gu bàs.

29 Agus an uair a choimhlion iad na h-uile nithe bha scrìobhta mu thimchioll, thug iad a nuas o'n chrann *e,* agus chuir iad ann an uaigh *e.*

30 Ach thog Dia suas o na marbhaibh e:

31 Agus chunncas e rè mòrain làithean leo-san a chaidh suas maille ris o Ghalile gu Hierusalem, dream a ta 'nam fianuisibh dhasan do'n t-sluagh.

32 Agus a ta sinne a' soisgeulachadh dhuibhse a' gheallaidh[t], a rinneadh do na h-aithrichibh,

33 Gu'n do choimhlion Dia so dhuinne an clann, air dha Iosa thogail suas; mar a ta e scrìobhta mar an ceudna san dara Salm, Is tu mo Mhacsa, an diugh ghin mi thu.

34 Agus *mar dhearbhadh* gu'n do thog e suas e o na marbhaibh, gun e a philltinn air ais tuilleadh chum truaillidheachd, thubhairt e mar so, Bheir mise dhuibh tròcaire cinnteach Dhaibhidh.

35 Uime sin a deir e mar an ceudna ann an *Salm* eile, Cha'n fhuiling thu do d'Aon naomha gu'm faic e truaillidheachd.

36 Oir an déigh do Dhaibhidh a ghinealach féin a riarachadh a réir toil Dhé, choidil e, agus chuireadh e chum aithriche, agus chunnaic e truaillidheachd:

37 Ach an ti 'a thog Dia suas, cha'n fhac e truaillidheachd.

38 Uime sin biodh fhios agaibhse, fheara *agus* a bhràithre, gur ann tre'n duine so a ta maitheanas peacaidh air a shearmonachadh dhuibh:

39 Agus trìdsan a ta gach neach a chreideas air a shaoradh o na h-uile

[r] *dh'altrum e iad.* [s] *a thurus, a chùrsa.*
[t] *ag innseadh deadh sgéil duibhse* eadhon *a' gheallaidh.*

nithibh, o nach robh e'n comas duibh
bhi air bhur saoradh le lagh Mhaois.
40 Thugaibh aire uime sin, nach
d'thig oirbh an ni a ta air a ràdh anns
na Fàidhibh,
41 Feuchaibh, a luchd-tarcuis, a-
gus gabhaibh iongantas, agus rachadh
as duibh[u]: oir oibricheamsa obair
ann bhur làithibhse, obair nach creid
sibh idir, ge do chuireadh duine an
céill duibh e.
42 Agus an uair a chaidh na
h-Iudhaich a mach as an t-sionagog,
ghuidh na Cinnich gu'n rachadh na
briathra so a labhairt riu féin an
t-sàbaid 'na dhéigh sin.
43 A nis an uair a sgaoil an
coimhthional, lean mòran do na
h-Iudhachaibh agus do na proselitich
chràbhach Pòl agus Barnabas: agus
labhair iadsan riu, agus chuir iad im-
pidh orra fuireach ann an gràs Dhé.
44 Agus air an latha sàbaid a
b'fhaigse, is beag nach do chruinnich
am baile gu h-iomlan a dh'éisdeachd
ri focal Dé.
45 Ach an uair a chunnaic na
h-Iudhaich na slòigh, lìonadh iad le
h-eud[a], agus labhair iad an aghaidh
nan nithe sin a labhradh le Pòl, a'
labhairt 'nan aghaidh agus a' tabhairt
toibheim.
46 An sin dh' fhàs Pòl agus
Barnabas dàna, agus thubhairt iad,
B'éigin focal Dé bhi air a labhairt
ribhse air tùs: ach do bhrigh gu'n
do chuir sibh cùl ris, agus gur i bhur
breth oirbh féin nach fiu sibh a'
bheatha mhaireannach, feuch, a ta
sinne a' pilltinn chum nan Cinneach.
47 Oir is ann mar sin a dh'àithn
an Tighearna dhuinn, *ag ràdh*, Chuir
mi thu mar sholus do na Cinnich,
chum gu'm bitheadh tu mar shlàinte
gu iomall na talmhainn.
48 Agus an uair a chuala na
Cinnich so, rinn iad gairdeachas, agus
ghlòraich iad focal an Tighearna:
agus chreid a mheud 'sa bha
orduichte[b] chum na beatha maireann-
aich.
49 Agus sgaoileadh focal an Tigh-
earna feadh na tìre uile.
50 Ach bhrosnaich na h-Iudhaich
na mnài chràbhach agus urramach,
agus daoin' uaisle[c] na cathrach, agus
thog iad geur-leanmhuinn air Pòl
agus Barnabas, agus thilg iad a mach
as an crìochaibh iad.
51 Ach chrath iadsan duslach an
cos dhiubh 'nan aghaidh, agus thainig
iad gu Iconium.
52 Agus bha na deisciobuil air an
lìonadh le h-aoibhneas, agus leis an
Spiorad naomh.

CAIB. XIV.

1 Tha Pòl agus Barnabas air an dian-ruagadh o Iconium. 8 Tha Pòl aig Listra a' leigheas a' chrioplaich: uime sin mheasadh iad 'nan déibh. 19 Chlachadh Pòl: 21 chaidh iad trìd iomadh eaglais, a' daingneachadh nan deisciobul ann an creidimh agus ann am faighidin: 26 agus air pilltinn gu h-Antioch dhoibh, dh'aithris iad na nithe a rinn Dia leo.

AGUS tharladh ann an Iconium,
gu'n deachaidh iad araon a
steach do shionagog nan Iudhach,
agus gu'n do labhair iad air chor as
gu'n do chreid cuideachd mhòr do na
h-Iudhachaibh, agus mar an ceudna
do na Greugachaibh.
2 Ach bhrosnaich na h-Iudhaich
mhi-chreideach, agus lìon iad do
dhroch rùn inntinn an Cinneach an
aghaidh nam bràithre.
3 Uime sin dh'fhan iad aimsir
fhada a' labhairt gu dàna mu
thimchioll an Tighearna, a rinn
fianuis do fhocal a ghràis, agus a thug
fainear comharan agus mìorbhuilean
a bhi air an deanamh le'n làmhaibh-
san.
4 Ach bha sluagh a' bhaile air
an roinn: agus bha cuid diubh leis
na h-Iudhachaibh, agus cuid eile leis
na h-abstolaibh.
5 Agus an uair a thugadh ionns-
uidh araon leis na Cinneachaibh, a-
gus mar an ceudna leis na h-Iudh-
achaibh, maille r'an uachdaranaibh,
chum iadsan a mhaslachadh agus a
chlachadh,

[u] *rachaibh as an t-sealladh.* [a] *tnùth.* [b] *air an cur an ordugh.* [c] *prìomh dhaoine.*

6 'Nuair a thuig iadsan *so*, theich iad gu Listra agus Derbe, bailte do Licaonia, agus chum na dùcha m'an cuairt.

7 Agus bha iad a' searmonachadh an t-soisgeil an sin.

8 Agus bha ann an Listra duine àraidh gun lùth 'na chosaibh 'na shuidhe, a bha bacach o bhroinn a mhàthar, neach nach d'imich riamh.

9 Chual esan Pòl a' labhairt: neach air dha amharc gu geur air, agus a thuigsinn gu robh creidimh aige chum a leigheas,

10 Thubhairt e le guth àrd, Seas suas gu dìreach air do chosaibh. Agus leum esan agus dh'imich e.

11 Agus an uair a chunnaic an sluagh an ni a rinn Pòl, thog iad an guth, ag ràdh ann an cànain Licaonia, Tha na Dée air teachd a nuas an cos-las dhaoine d'ar n-ionnsuidhne.

12 Agus ghoir iad do Bharnabas, Iupiter; agus do Phòl, Mercurius, do bhrigh gu'm b'e am prìomh fhear-labhairt e.

13 An sin thug sagart Iupiteir a bha fa chomhair an cathrachsan, tairbh agus blàth-fhleasgaidh[d] chum nan geata; agus b'aill leis ìobairt a dheanamh maille ris an t-sluagh.

14 Ach an uair a chuala na h-abstoil Barnabas agus Pòl *so*, reub iad an eudach, agus ruith iad a steach am measg an t-sluaigh, ag éigheach,

15 Agus ag ràdh, A dhaoine, c'ar son a ta sibh a' deanamh nan nithe so? oir is daoine sinne cosmhuil ribh féin thaobh fulangais[e], a' searmonachadh dhuibhse, pilltinn o na nithibh diomhain sin chum an Dé bheo, a rinn nèamh, agus an talamh, agus an cuan, agus na h-uile nithe a ta ann-ta:

16 Neach anns na linnibh a chaidh seachad, a dh'fhuiling do na h-uile Chinneachaibh imeachd 'nan slighibh féin.

17 Gidheadh, cha d'fhàg se e féin gun fhianuis, a' deanamh maith, agus a' toirt dhuinn uisge o nèamh, agus aimsire tarbhach, a' lìonadh ar cridheacha le biadh agus le subhachas.

18 Agus ag ràdh nan nithe so dhoibh, is gann a chum iad an sluagh gun ìobairt a dheanamh dhoibh.

19 Agus thainig Iudhaich o Antioch agus o Iconium, agus chomhairlich iad an sluagh, agus air dhoibh Pòl a chlachadh, tharruing iad a mach as a' bhaile *e*, a' saoilsinn gu robh e marbh.

20 Ach air seasamh do na deisciobluibh m'a thimchioll, dh'éirich e, agus chaidh e steach do'n bhaile: agus air an là màireach dh'imich e maille ri Barnabas gu Derbe.

21 Agus an uair a shearmonaich iad an soisgeul do'n bhaile sin, agus a rinn iad mòran dheisciobul, phill iad gu Listra, agus Iconium, agus Antioch,

22 A' neartachadh anama nan deisciobul, *agus* ag earail[f] orra buanachadh sa' chreidimh, agus *a' teagasg* gur ann tre iomadh àmhghar is éigin duinn dol a steach do rioghachd Dhé.

23 Agus an uair a dh'orduich iad seanairean dhoibh anns gach eaglais, agus a rinn iad ùrnuigh maille ri trosgadh, dh'earb siad iad ris an Tighearn, anns an do chreid iad.

24 Agus an déigh dhoibh dol tre Phisidia, thainig iad gu Pamphilia.

25 Agus air dhoibh am focal a labhairt ann am Perga, chaidh iad sìos gu Atalia:

26 Agus sheòl iad as sin gu Antioch, *an t-àit* o'n d'earbadh iad ri gràs Dhé, chum na h-oibre a choimhlion iad.

27 Agus an uair a thainig iad, agus a chruinnich iad an eaglais an ceann a chéile, dh'aithris iad meud nan nithe a rinn Dia leo, agus gu'n d'fhosgail e dorus creidimh do na Cinneachaibh.

28 Agus dh'fhan iad an sin aimsir nach bu bheag maille ris na deisciobluibh.

CAIB. XV.

1 *Tha connsachadh mòr ag éirigh mu thimchioll an timchioll-ghearraidh:* 6 *Tha na h-abstoil a' cumail comhairle m' an chùis sin,* 22 *agus a' cur orduigh na comhairle ann an*

[d] *lus-chrùna.* [e] *aig am bheil comh-aigne ribh féin.* [f] *guidheadh.*

litrichibh chum nan eaglais. 36 Air do Phòl agus do Bharnabas bhi a' smuaineachadh air dol araon a dh'amharc am bràithre, chuir iad a mach air a chéile, agus dhealaich iad.

AGUS theagaisg dream àraidh a thainig a nuas o Iudea, na bràithre, *ag ràdh*, Mur timchioll-ghearrar sibh a réir gnàtha Mhaois, cha 'n'eil e'n comas duibh bhi air bhur slànuchadh.

2 Uime sin air do Phòl, agus do Bharnabas connsachadh agus deasboireachd nach bu bheag a bhi aca riu, dh'orduich iad Pòl agus Barnabas, agus dream àraidh eile dhiubh féin, a dhol suas chum nan abstol agus nan seanair gu Hierusalem mu thimchioll na ceisde so.

3 Agus air dhoibh bhi air an toirt air an aghaidh leis an eaglais, chaidh iad tre Phenice, agus Shamaria, a' cur an céill iompochaidh nan Cinneach: agus thug iad aoibhneas mòr do na bràithribh uile.

4 Agus an uair a thainig iad gu Hierusalem, ghabhadh riu leis an eaglais, agus na h-abstolaibh, agus na seanairibh, agus dh'innis iad meud nan nithe a rinn Dia leo-san.

5 Ach dh'éirich dream àraidh do bharail nam Phairiseach a bha 'nan creidmhich, ag ràdh, Gur còir an timchioll-ghearradh, agus àithneadh *dhoibh* lagh Mhaois a choimhead.

6 Agus thainig na h-abstoil agus na seanairean an ceann a chéile a dh'fheuchainn mu'n chùis so.

7 Agus an déigh mòrain deasboireachd, dh'éirich Peadar agus thubhairt e riu, Fheara *agus* a bhràithre, tha fhios agaibh o chionn fhada gu'n do ròghnuich Dia 'nar measgne, o m' bheulsa gu'n cluinneadh na Cinnich focal an t-soisgeil, agus gu'n creideadh iad,

8 Agus rinn an Dia d'an aithneadh an cridhe, fianuis dhoibh, a' tabhairt an Spioraid naoimh dhoibh, mar a *thug e* dhuinne;

9 Agus cha d'rinn e eadar-dhealachadh eadar sinne agus iadsan, a' glanadh an cridhe le creidimh.

10 C'ar son uime sin a nis a ta sibh a' cur cathachaidh air Dia[g], le cuing a chur air muineal nan deisciobul, nach robh aon chuid ar n-aithriche no sinne comasach air a giùlan?

11 Gidheadh a ta sinn a' creidsinn, tre ghràs an Tighearna Iosa Criosd, gu saorar sinn amhuil mar iadsan.

12 An sin dh'fhan a' chuideachd uile 'nan tosd, agus thug iad éisdeachd do Bharnabas agus do Phòl, ag innseadh meud nan comhar agus nam mìorbhuile a rinn Dia leo-san am measg nan Cinneach.

13 Agus an déigh dhoibh bhi 'nan tosd, fhreagair Seumas, ag ràdh, Fheara *agus* a bhràithre, éisdibh riumsa.

14 Chuir Simeon an céill cionnus a dh'fhiosraich Dia na Cinnich air tùs, le pobull a ghabhail as am measg d'a ainm féin.

15 Agus da so tha briathra nam fàidh a' coimh-fhreagairt; a réir mar a ta e scrìobhta,

16 An déigh so pillidh mi, agus togaidh mi suas a rìs pàilliun Dhaibhidh, a ta air tuiteam: agus togaidh mi a rìs an ni a thuit deth, agus cuiridh mi suas e:

17 Chum gu'n iarr fuigheall nan daoine an Tighearn, agus na h-uile Chinnich, air an goirear m'ainmse, a deir an Tighearn, a ta deanamh nan nithe sin uile.

18 Tha fios oibre féin uile aig Dia o thoiseach an t-saoghail.

19 Uime sin is i mo bhrethse, nach cuir sinn mi-shuaimhneas[h] orra-san do na Cinnich, a ta air pilltinn chum Dhé:

20 Ach gu'n scrìobh sinn d'an ionnsuidh, iad a sheachnadh truaillidheachd ìodhola, agus strìopachais, agus ni tachdta, agus fola.

21 Oir a ta aig Maois o na linnibh cian anns gach baile daoine a ta 'ga shearmonachadh, air dha bhi air a leughadh gach latha sàbaid anns na sionagogaibh.

22 An sin chunncas do na h-abstolaibh, agus do na seanairibh, maille ris an eaglais uile, daoine taghta dhiubh féin a chur gu Antioch, maille

[g] *a' brosnachadh, a' dearbhadh Dhé.* [h] *dragh.*

ri Pòl agus Barnabas; *eadhon*, Iudas d'an comh-ainm Barsabas, agus Silas, daoine, inbheach am measg nam bràithre:

23 Agus scrìobh iad litriche leo air an dòigh so, Tha na h-abstoil, agus na seanairean, agus na bràithrean a' cur beannachd chum nam bràithre do na Cinnich a ta ann an Antioch, agus ann an Siria, agus ann an Cilicia.

24 Do bhrigh gu'n cuala sinne, gu'n do chuir dream àraidh a chaidh uainne mi-shuaimhneas oirbh le briathraibh, ag atharrachadh bhur inntinn, ag ràdh, *Gur còir dhuibh* bhi air bhur timchioll-ghearradh, agus an lagh a choimhead; do nach d'thug sinne *a leithid sin a dh'*àithne:

25 Chunncas duinne, air dhuinn bhi cruinn a dh'aon toil, daoine taghta a chur d'ar ionnsuidhse, maille r'ar *bràithribh* gràdhach Barnabas agus Pòl;

26 Daoine a thug an anama féin air son ainme ar Tighearna Iosa Criosd.

27 Chuir sinn uime sin Iudas agus Silas uainn, a dh'innseas *duibh* na nithe ceudna le cainnt bheoil.

28 Oir chunncas do'n Spiorad naomh, agus dhuinne, gun ni air bith tuilleadh a chur oirbh a dh'uallaich ach na nithe feumail so;

29 Sibh a sheachnadh nithe a chaidh ìobradh do ìodholaibh, agus fola, agus ni tachdta, agus strìopachais: uatha so ma choimhideas sibh sibh féin, ni sibh gu maith. Slàn libh.

30 Uime sin an uair a leigeadh uatha iad, thainig iad gu h-Antioch: agus air cruinneachadh an t-sluaigh dhoibh, thug iad seachad an litir.

31 Agus an uair a leugh iad *sin*, rinn iad gairdeachas air son na comhfhurtachd.

32 Agus air bhi do Iudas agus do Shilas 'nam fàidhibh iad féin, le mòran bhriathraibh dh'earailich, agus neartaich iad na bràithre.

33 Agus air fuireach rè ùine dhoibh, leigeadh air falbh an sìth iad o na bràithribh chum nan abstol.

34 Gidheadh chunncas do Shilas còmhnuidh a dheanamh an sin.

35 Dh'fhan Pòl mar an ceudna agus Barnabas ann an Antioch, a' teagasg agus a' searmonachadh maille re mòran eile mar an ceudna, focail an Tighearna.

36 Agus an déigh làithean àraidh, thubhairt Pòl ri Barnabas, Pilleamaid agus faiceamaid ar bràithre, anns gach baile anns an do shearmonaich sinn focal an Tighearna, cionnus a ta iad.

37 Agus b'àill le Barnabas iad a thoirt Eoin, d'an comh-ainm Marcus leo.

38 Ach cha do mheas Pòl gu'm bu chòir dhoibh esan, a dh'fhalbh uatha o Phamphilia, agus nach deachaidh maille riu chum na h-oibre, a thoirt leo.

39 Dh'éirich uime sin conspoid eatorra co dian, as gu'n do sgaradh o chéile iad: agus mar sin thug Barnabas leis Marcus, agus chaidh e air luing gu Ciprus;

40 Ach thagh Pòl Silas, agus dh'imich e, air dha bhi air earbsadh ri gràs Dé leis na bràithribh.

41 Agus shiubhail e tre Shiria agus Chilicia, a' neartachadh[1] nan eaglais.

CAIB. XVI.

1 *Tha Pòl a' timchioll-ghearradh Thimoteuis: 7 air a ghairm leis an Spiorad o dhùthaich gu dùthaich; 14 ag iompochadh Lidia: 16 a' tilgeadh a mach spioraid fiosachd: 19 uime sin tha e féin agus Silas air an sgiùrsadh, agus air an cur am prìosun. 26 Tha dorsan a' phriosuin air am fosgladh, agus an dorsair air iompochadh. 35 Tha iadsan air an cur fa sgaoil.*

AN sin thainig e gu Derbe agus Listra: agus feuch, bha deisciobul àraidh an sin, d'am b'ainm Timoteus, mac mnà àraidh do'n chinneach Iudhach, a bha 'na creidmheach; ach bu Ghreugach a b'athair da:

2 A bha fa dheadh ainm aig na bràithribh a bha ann an Listra agus ann an Iconium.

3 Bha toil aig Pòl am fear so a

[1] *a' daingneachadh.*

dhol a mach maille ris; agus ghabh
e agus thimchioll-ghearr se e, air son
nan Iudhach a bha anns na h-àitibh
sin: oir bha fios ac' uile gu'm bu
Ghreugach athair.
4 Agus mar a shiubhail iad tre na
bailtibh, thug iad doibh na h-orduigh-
ean r'an coimhead, a dh'orduicheadh
leis na h-abstolaibh agus na seanair-
ibh a bha ann an Ierusalem.
5 Agus mar sin bha na h-eaglais-
ean air an daingneachadh anns a'
chreidimh, agus mheudaicheadh iad
gach là an àireamh.
6 A nis an uair a chaidh iad tre
Phrigia, agus tìr Ghalatia, agus a
bhacadh dhoibh leis an Spiorad naomh
am focal a labhairt san Asia,
7 An déigh dhoibh teachd gu Mi-
sia, dh'fheuch iad ri dol gu Bitinia:
ach cha do leig an Spiorad [m] leo.
8 Agus air dhoibh gabhail seachad
air Misia, chaidh iad sìos gu Troas.
9 Agus chunncas sealladh [n] le Pòl
san oidhche: Sheas duine àraidh o
Mhacedonia, agus ghuidh e air, ag
ràdh, Thig thairis gu Macedonia,
agus cuidich leinne.
10 Agus an uair a chunnaic e an
sealladh, air ball dh'iarr sinn dol
thairis gu Macedonia, a' dearbh-
thuigsinn gu'n do ghairm an Tigh-
earna sinn chum an soisgeul a shear-
monachadh dhoibh.
11 Uime sin air dhuinn long a
ghabhail o Throas, thainig sinn gu
dìreach gu Samotracia, agus air *an là*
'na dhéigh sin gu Neapolis;
12 Agus o sin gu Philipi, ceud [o]
bhaile na cuid sin do Mhacedonia,
*agus b'*ùr-threabhachas [p] *e:* agus bha
sinn a chòmhnuidh anns a' bhaile sin
làithean àraidh.
13 Agus air là na sàbaid chaidh
sinn a mach as a' bhaile ri taobh
aimhne, far am b'àbhaist ùrnuigh a
dheanamh [r]; agus air dhuinn suidhe,
labhair sinn ris na mnaibh a chruinn-
icheadh *an sin.*
14 Agus dh'éisd bean àraidh ruinn
d'am b'ainm Lidia, bean-reicidh pur-
puir [s], *o* chathair Thiatira, a bha dean-
amh aoraidh do Dhia; aig an d'fhos-
gail an Tighearn a cridhe, ionnas
gu'n d'thug i aire do na nithibh a
labhradh le Pòl.
15 Agus an uair a bhaisteadh i,
agus a teaghlach, ghuidh i *oirnn,* ag
ràdh, Ma mheas sibh mise bhi dìleas
do'n Tighearn, thigibh a steach do m'
thigh, agus deanaibh còmhnuidh *ann.*
Agus choimh-éignich i sinn.
16 Agus tharladh, ag dol dhuinne
chum ùrnuigh, gu'n do thachair oirnn
ban-tràill àraidh, aig an robh spiorad
fiosachd, a thug mòr bhuannachd d'a
maighstiribh le fiosachd a dheanamh:
17 Lean ise Pòl agus sinne, agus
ghlaodh i, ag ràdh, 'S iad na daoine
so seirbhisich an Dé a's ro-àirde,
a ta a' nochdadh dhuinne slighe na
slàinte.
18 Agus rinn i so rè mòrain do
làithibh. Ach air do Phòl a bhi
doilich, thionndaidh e agus thubhairt
e ris an Spiorad, A ta mi toirt or-
duigh dhuit ann an ainm Iosa Criosd
dol a mach aisde. Agus chaidh e
mach air an uair sin féin.
19 Agus an uair a chunnaic a
maighstirean gu'n d'fhalbh dòchas [t]
am buannachd, rug iad air Pòl agus
air Silas, agus tharruing iad do'n
mhargadh *iad,* chum nan uachdar-
an.
20 Agus air dhoibh an toirt chum
luchd-riaghluidh *a' bhaile,* thubhairt
iad, Tha na daoine *so* a' buaireadh ar
baile gu ro mhòr, air dhoibh bhi 'nan
Iudhachaibh,
21 Agus a ta iad a' teagasg ghnàth-
anna nach 'eil ceaduichte dhuinne a
ghabhail no leantuinn, do bhrìgh gur
Romhanaich sinn.
22 Agus dh'éirich an sluagh
dh'aon-fheachd 'nan aghaidh: agus
reub na h-uachdarain an eudach
dhiubh, agus dh'àithn iad *an* sgiùrsadh
le slataibh.
23 Agus an déigh dhoibh iomadh
buille a leagadh orra, thilg iad am
priosun *iad,* a' toirt sparraidh do fhear-
coimhead a' phriosuin an gleidh-
eadh gu tèaruinte.
24 Neach air dha an àithne sin
fhaotainn, a thilg iad do'n phriosun

[m] *Spiorad Iosa.* [n] *taisbean,* [o] *prìomh.* [p] *cholamhuin; colony. Sasg.*
[r] *do thigh ùrnuigh a bhi.* [s] *corcuir.* [t] *earbsa.*

a b'fhaide a stigh, agus a dhaingnich an cosa sa' cheap.

25 Agus mu mheadhon-oidhche air do Phòl agus do Shilas ùrnuigh a dheanamh, sheinn iad laoidh-mholaidh do Dhia; agus chuala na priosunaich iad.

26 Agus gu h-obann bha crith-thalmhainn mhòr ann, air chor as gu'n do chrathadh bunaitean a' phriosuin: agus air ball dh'fhosgladh na dorsan uile, agus dh'fhuasgladh cuibhreacha gach neach *aca*.

27 Agus air do fhear-coimhead a phriosuin dùsgadh a codal, agus air faicinn dorsa a' phriosuin fosgailte, tharruing e a chlaidheamh, air ti[u] e féin a mharbhadh, a' saoilsinn gu robh na priosunaich air teicheadh.

28 Ach ghlaodh Pòl le guth àrd, ag ràdh, Na dean cron sam bith ort féin; oir tha sinn uile an so.

29 Agus air gairm soluis dasan, leum e steach, agus thainig e air chrith, agus thuit e sìos an làthair Phòil agus Shilais;

30 Agus air dha an tabhairt a mach, thubhairt e, A mhaighstirean, ciod is còir domh dheanamh chum gu saorar[a] mi?

31 Agus thubhairt iadsan, Creid anns an Tighearn Iosa Criosd, agus saorar thu féin, agus do thigh.

32 Agus labhair iad focal an Tighearna ris, agus riusan uile a bha 'na thigh.

33 Agus air dha an toirt leis air an uair sin féin do'n oidhche, nigh e *an* creuchdan; agus bhaisteadh e féin, agus a mhuinntir uile, gun dàil.

34 Agus an uair a thug e d'a thigh iad, chuir e bord rompa, agus rinn e gairdeachas maille r'a theaghlach uile, a' creidsinn an Dia.

35 Agus air teachd do'n là, chuir an luchd-riaghluidh na maoir uatha, ag ràdh, Leig air an comas na daoine sin.

36 Agus dh'innis fear-coimhead a' phriosuin na briathra so do Phòl, Gu'n do chuir an luchd-riaghluidh fios uatha sibhse a leigeadh as: uime sin rachaibh a mach, agus imichibh an sìth.

37 Ach thubhairt Pòl riu, an déigh dhoibh ar sgiùrsadh gu follaiseach gun ar dìteadh, agus gur Romhanaich sinn, thilg iad am priosun sinn; agus a nis am b'àill leo ar cur a mach os ìosal? ni h-eadh gu deimhin; ach thigeadh iad féin agus thugadh iad a mach sinn.

38 Agus dh'innis na maoir na briathra sin do na h-uachdaranaibh: agus ghabh iad eagal an uair a chual iad gu'm bu Romhanaich iad.

39 Agus thainig iad agus chuir iad impidh orra, agus air dhoibh *an* toirt a mach, ghuidh iad *orra* imeachd a mach as a' bhaile.

40 Agus air dol a mach as a' phriosun doibh, chaidh iad a steach do *thigh* Lidia: agus an uair a chunnaic iad na bràithre, thug iad comhfhurtachd dhoibh, agus dh'imich iad rompa.

CAIB. XVII.

1 *Tha Pòl a' searmonachadh aig Te-*
salonica, 4 *far am bheil cuid a'*
creidsinn, agus cuid eile a' dean-
amh geur-leanmhuinn air. 10 *Tha*
e air a chur gu Berea, agus a' sear-
monachadh an sin. 13 *Tha geur-*
leanmhuinn air a dheanamh air;
15 *tha e teachd gu baile na h-Aithne,*
agus a' deasboireachd, agus a' sear-
monachadh dhoibh an Dé bheo: 34
tha cuid air an iompochadh gu
Criosd.

ANIS air dhoibh imeachd tre Amphipolis, agus Apolonia, thainig iad gu Tesalonica, far an robh sionagog aig na h-Iudhachaibh.

2 Agus mar bu ghnàth le Pòl, chaidh e steach d'an ionnsuidh, agus air tri làithibh sàbaid reusonaich[b] e riu as na scriobtuiribh,

3 '*Gam* fosgladh agus a' dearbhadh gu'm b'éigin do Chriosd fulang, agus éirigh a rìs o na marbhaibh: agus gur e an t-Iosa so a ta mise a' searmonachadh dhuibh, Criosd.

4 Agus chreid cuid diubh, agus lean iad ri Pòl agus ri Silas: agus do na Greugaich chràbhach buidheann mhòr, agus do na mnaibh inbheach àireamh nach bu bheag.

[u] *fa rùn.* [a] *tearnar, slànuichear.* [b] *thagair.*

5 Ach air do na h-Iudhachaibh mi-chreideach bhi air am brosnachadh le tnùth[c], ghabh iad d'an ionnsuidh droch-dhaoine àraid do na corraibh-margaidh[d], agus air tionall cuideachd mòire dhiubh, chuir iad am baile uile thar a chéile, agus chuairtich iad tigh Iasoin, agus dh'iarr iad an toirt a mach chum an t-sluaigh.

6 Agus an uair nach d'fhuair siad iad, tharruing iad Iason, agus bràithrean àraidh chum uachdaran a' bhaile, ag éigheach, Tha na daoine so a chuir an saoghal bun os cionn, air teachd an so mar an ceudna;

7 D'an d'thug Iason aoidheachd: agus a ta iad so uile a' cur an aghaidh orduigh Cheasair, ag ràdh, Gu bheil righ eile ann, *eadhon* Iosa.

8 Agus chuir iad buaireas[e] fo'n t-sluagh, agus fo uachdarain a' bhaile, 'nuair a chual iad na nithe so.

9 Agus air gabhail urrais[f] dhoibh o Iason, agus o chàch, leig iad uatha iad.

10 Agus air ball chuir na bràithre Pòl agus Silas san oidhche gu Berea: agus air teachd dhoibhsan *an sin*, chaidh iad a steach do shionagog nan Iudhach.

11 Bha iad sin ni b'uaisle na muinntir Thesalonica, oir ghabh iad am focal d'an ionnsuidh leis an uile thogradh, a' rannsachadh nan scriobtuir gach aon là, *a dh'fheuchainn* an robh na nithe sin mar so.

12 Uime sin chreid mòran diubh: agus mar an ceudna do mhnaibh uaisle do na Greugaich, agus do fhearaibh àireamh nach bu bheag.

13 Ach an uair a thuig na Iudhaich o Thesalonica gu'n do shearmonaicheadh focal Dé le Pòl am Berea, thainig iad an sin mar an ceudna, a' brosnachadh an t-sluaigh.

14 An sin air ball chuir na bràithrean uatha Pòl, chum gu'n rachadh e mar gu b'ann chum na mara: ach dh'fhan Silas agus Timoteus an sin fathast.

15 Agus threòraich luchd-coimheadachd Phòil e gu *baile* na h-Aithne[g]; agus air faghail àithne dhoibh gu Silas agus Timoteus, iad a theachd d'a ionnsuidhsan mar bu luaithe, dh'imich iad rompa.

16 A nis am feadh a bha Pòl a' feitheamh riu san Aithne, bha a spiorad air a bhrosnachadh[h] ann, do bhrigh gu'm fac e am baile làn iodholaoraidh.

17 Air an aobhar sin rinn e deasboireachd ris na h-Iudhachaibh, agus ris na daoinibh cràbhach anns an t-sionagog, agus air a' mhargadh gach là riu-san a thachair air.

18 An sin thug feallsanaich[i] àraidh do na h-Epicuraich, agus do na Stoicich, aghaidh air; agus thubhairt cuid, Ciod a b'àill leis an fhear bhith-bhriathrach so a ràdh? thubhairt cuid eile, Is cosmhuil gu bheil e a' searmonachadh dhée coimheach; do bhrigh gu'n do shearmonaich e dhoibh Iosa, agus an aiseirigh.

19 Agus rug iad air, agus thug iad leo e gu Areopagus, ag ràdh, Am feud sinn fios fhaotainn ciod e an teagasg nuadh[l] so, a labhrar leat?

20 Oir a ta thu toirt nithe àraidh neo-ghnàthach chum ar cluas: b'àill leinn uime sin fios fhaotainn ciod is ciall doibh sin.

21 (Oir cha do chaith muinntir na h-Aithne uile agus a' choigrich a bha air chuairt 'nam measg, an ùine ri ni air bith eile, ach ri innseadh, no ri cluinntinn noimheachd éigin.)

22 An sin air seasamh do Phòl am meadhon Areopaguis, thubhairt e, A mhuinntir na h-Aithne, tha mi faicinn gu bheil sibh anns na h-uile nithibh cràbhach thar tomhas:

23 Oir air dhomh bhi dol seachad, agus ag amharc air bhur nithibh naomha, fhuair mi altair air an robh an scrìobhadh so, DO'N DIA NEO-AITHNICHTE. Uime sin esan d'am bheil sibh a' deanamh aoraidh gun eòlas agaibh air, is e a ta mise a' searmonachadh dhuibh.

24 An Dia a rinn an saoghal, agus na h-uile nithe a ta ann, do bhrigh gur e féin Tighearna nèimhe agus na

[c] *farmad, eud.* [d] *do'n ghràisg.* [e] *tuairgne, gluasachd.* [f] *daingneachaidh.* [g] *Athens.* Sasg. [h] *bhuaireadh.* [i] *daoine fòghlumta, eagnuidhean.* [l] *nomha.*

talmhainn, cha 'n'eil e gabhail còmhnuidh ann an teampluibh làmhdheanta:

25 Ni mò a bheirear aoradh dha le làmhaibh dhaoine, mar gu'm biodh uireasbhuidh ni sam bith air; oir is e féin a ta tabhairt do na h-uile beatha, agus anail, agus nan uile nithe:

26 Agus rinn e dh'aon fhuil uile chinnich dhaoine, chum iad a ghabhail còmhnuidh air aghaidh na talmhainn uile, agus shonraich[m] e na h-amanna, roimh-orduichte, agus criochanna an àite-còmhnuidh;

27 Chum gu'n iarraidh iad an Tighearn, dh'fheuchainn an tarladh dhoibh, le mìn-rannsachadh, gu'm faigheadh iad e, ge nach 'eil e fada o gach aon againn:

28 Oir annsan tha sinn beo, agus a' gluasad, agus tha ar bith againn; mar a thubhairt mar an ceudna dream àraidh d'ar bàrdaibh féin, Oir is sinne fòs a ghinealsan.

29 Uime sin do bhrigh gur sinn gineal Dé, cha chòir dhuinn a shaoilsinn gu bheil an Diadhachd cosmhuil ri h-òr, no ri h-airgiod, no ri cloich, nithe a ghearradh[n] le h-ealadhain agus innleachd dhaoine.

30 A nis air do Dhia amharc thairis air aimsiribh an aineolais so, tha e nis ag àithneadh do na h-uile anns gach àit aithreachas a dheanamh:

31 Do bhrigh gu'n do shuidhich e là anns an toir e breth air an t-saoghal am fìreantachd, tre'n duine *sin* a dh'orduich e; agus air so thug e dearbhadh do na h-uile dhaoinibh, le esan a thogail suas o na marbhaibh.

32 Agus an uair a chual iad mu aiseirigh nam marbh, rinn cuid diubh fanoid: ach thubhairt cuid eile, Eisdidh sinn riut a rìs mu'n ni so.

33 Agus mar sin chaidh Pòl a mach as am meadhon.

34 Gidheadh, lean cuid do dhaoinibh ris, agus chreid iad. 'Nam measg so bha Dionisius an t-Areopagach, agus bean d'am b'ainm Damaris, agus dream eile maille riu.

CAIB. XVIII.

1 *Tha Pòl ri obair le a làmhaibh féin, agus a' searmonachadh do na Cinneachaibh ann an Corintus:* 9 *Tha'n Tighearn a' toirt misnich dha ann an taisbean:* 12 *tha e air a chasaid an-làthair an uachdarain Ghallio, ach air a leig'as:* 18 *'na dhéigh sin, a' dol o bhaile gu baile, tha e' a' neartachadh nan deisciobul, &c.*

AN déigh nan nithe so, dh'fhàg Pòl baile na h-Aithne, agus thainig e gu Corintus;

2 Agus fhuair e Iudhach àraidh d'am b'ainm Acuila, a rugadh am Pontus, air ùr-theachd as an Eadailt, maille r'a mhnaoi Priscilla, (a chionn gu'n d'orduich Claudius do na h-Iudhachaibh uile an Ròimh fhàgail) agus thainig e d'an ionnsuidh.

3 Agus a chionn gu'n robh e a dh'aon cheird riu, dh'fhan e maille riu, agus bha e ag obair (oir bu cheird doibh bhi deanamh phàilliuna.)

4 Agus thagair[o] e anns an t-sionagog gach aon là sàbaid, agus chuir e impidh air Iudhaich agus Greugaich.

5 Agus an uair a thainig Silas agus Timoteus o Mhacedonia, bha Pòl air a theannadh 'na spiorad, agus rinn e fianuis do na h-Iudhaich, gu'm b'e Iosa an Criosd.

6 Agus an uair a chuir iad 'na aghaidh, agus a labhair iad toibheum, chrath e eudach, agus thubhairt e riu, *Biodh* bhur fuil air bhur ceann féin; *tha* mise glan: a so suas théid mi chum nan Cinneach.

7 Agus chaidh e as sin, agus thainig e gu tigh duine àraidh, d'am b'ainm Iustus, a bha deanamh aoraidh do Dhia, agus aig an robh a thigh làimh ris an t-sionagog.

8 Agus chreid Crispus, prìomh[p] uachdaran na sionagoige anns an Tighearna, maille r'a theaghlach uile: agus chreid mòran do na Corintianaich, air dhoibh éisdeachd ris, agus bhaisteadh iad.

9 An sin thubhairt an Tighearn ri Pòl ann an sealladh[r] san oidhche, Na

[m] *shuidhich.* [n] *a dhualadh, a ghràbhaladh.* [o] *reusonaich.* [p] *àrd.*
[r] *taisbean.*

biodh eagal ort, ach labhair, agus na bi d' thosd:

10 Oir a ta mise maille riut, agus cha toir duine sam bith ionnsuidh ort, chum do chron a dheanamh: oir a ta mòr shluagh agamsa anns a' bhaile so.

11 Agus dh'fhan e bliadhna agus sea miosan, a' teagasg focail Dé 'nam measg.

12 Agus an uair a bha Gallio 'na uachdaran air Achaia, dh'éirich na h-Iudhaich a dh'aon inntinn an aghaidh Phòil, agus thug iad e gu caithir a' bhreitheanais,

13 Ag ràdh, Tha'n duine so a' comhairleachadh dhaoine aoradh a dheanamh do Dhia an aghaidh an lagha.

14 Agus an uair a bha Pòl dol a dh'fhosgladh a bhéil, thubhairt Gallio ris na h-Iudhaich, Nam b'eucoir no droch ghnìomh a bhiodh ann, O Iudhacha, bu reusonta gu'n giùlainn leibh:

15 Ach ma's ceisd a ta ann timchoill fhocla agus ainmeanna, agus bhur lagha féin, amhaircibh féin air sin; oir cha'n àill leamsa bhi m' bhreitheamh air an leithidibh sin do nithibh.

16 Agus dh'fhuadaich e iad o chaithir a' bhreitheanais.

17 An sin rug na Greugaich uile air Sostenes, uachdaran na sionagoige, agus ghabh iad air an làthair caithir a' bhreitheanais, agus cha do ghabh Gallio suim do ni sam bith dhiubh sin.

18 Agus dh'fhan Pòl fathast ùine mhaith *sa' bhaile sin*, agus an sin an déigh a chead a ghabhail do na bràithribh, chaidh e air luing o sin gu Siria, agus maille ris-san Priscilla agus Acuila; an déigh *a* cheann a bhearradh[s] ann an Cenchrea: oir bha mòid air.

19 Agus thainig e gu h-Ephesus, agus dh'fhàg é iadsan an sin: ach chaidh e féin a steach do'n t-sionagog, agus reusonaich e ris na h-Iudhachaibh.

20 Agus an uair a dh'iarr iad *air* fuireach maille riu ni b'fhaide, cha d'aontaich e.

21 Ach ghabh e a chead diubh, ag ràdh, Is éigin domh air gach aon chor an fhéisd[t] so a ta teachd a choimhead ann an Ierusalem: ach pillidh mi a rìs d'ar ionnsuidhse, ma's toil le Dia. Agus sheòl e o Ephesus.

22 Agus thainig e tìr aig Cesarea, agus air dha dol suas agus fàilt a chur air an eaglais, chaidh e sios gu h-Antioch.

23 Agus an uair a dh'fhan e rè tamuill *an sin*, dh'imich e, agus chaidh e an ordugh[u] tre thìr Ghalatia uile agus Phrigia, a' neartachadh nan deisciobul uile.

24 Agus thainig gu h-Ephesus Iudhach àraidh d'am b'ainm Apollos, a rugadh an Alecsandria, duine deasbhriathrach, *agus* cumhachdach anns na scriobtuiribh.

25 Bha'n duine so air a theagasg ann an slighe an Tighearna; agus air dha bhi dian[a] 'na spiorad, labhair agus theagaisg e gu dìchiollach na nithe a bhuineadh do'n Tighearn, agus gun eòlas aige ach air baisteadh Eoin.

26 Agus thòisich e air labhairt gu dàna san t-sionagog. Agus air do Acuila agus do Phriscilla a chluinntinn, ghabh iad d'an ionnsuidh e, agus mhìnich iad dha slighe Dhé ni bu choimhlionta.

27 Agus an uair bu mhiann leis dol gu Achaia, an déigh a chomhairleachadh, scriobh na bràithre chum nan deisciobul iad a ghabhail ris: neach, air dha teachd, a rinn còmhnadh[b] mòr riu-san a chreid tre ghràs.

28 Oir le mòr dhìchioll rinn e deasboireachd[c] ris na h-Iudhaich gu follaiseach, a' dearbhadh leis na scriobtuiribh, gur e Iosa an Criosd.

C A I B. XIX.

6 *Tha an Spiorad naomh air a thabhairt le làmhaibh Phòil. 9 Tha na h-Iudhaich a' toirt toibheim d'a theagasg, a ta air a dhaingneach-*

[s] *a lomadh.* [t] *an fhéill.* [u] *an eagar.* [a] *teth.* [b] *còghnath, cougnamh.*
[c] *le mòr sbairn thagair e.*

adh le mìorbhuilibh. 13 Tha na
h-Iudhaich a bha cur spiorada fa
gheasaibh air am bualadh leis
an Diabhol. 19 Tha leabhraiche
druidheachd air an losgadh, &c.

AGUS tharladh, 'nuair a bha
Apollos ann an Corintus, air
do Phòl dol tre na crìochaibh uachd-
arach, gu'n d'thainig e gu Ephesus.
Agus air faotainn dheisciobul àraidh,
2 Thubhairt e riu, An d'fhuair
sibh an Spiorad naomh o chreid sibh?
Agus thubhairt iadsan ris, Cha chual-
a sinn uiread as am bheil Spiorad
naomh ann.
3 Agus thubhairt e riu, Ciod ma
seadh anns an do bhaisteadh sibh?
Agus thubhairt iadsan, Am baisteadh
Eoin.
4 An sin thubhairt Pòl, Bhaist
Eoin gu deimhin le baisteadh an
aithreachais, ag ràdh ris an t-slaugh,
iadsan a chreidsinn anns an neach a
bha gu teachd 'na dhéighsan, sin r'a
ràdh, ann an Iosa Criosd.
5 Agus an uair a chual iad *so*,
bhaisteadh iad ann an ainm an Tigh-
earna Iosa.
6 Agus air do Phòl *a* làmhan a
chur orra, thainig an Spiorad naomh
orra; agus labhair iad le teangaibh,
agus rinn iad fàidheadaireachd.
7 Agus bha ann uile timchoill dà
fhear dheug.
8 Agus chaidh esan a steach do'n
t-sionagog, agus labhair e gu dàna rè
thri mìosa, a' deasboireachd agus a'
comhairleachadh nan nithe a bhuin-
eas do rioghachd Dhé.
9 Ach an uair a chruadhaicheadh
cuid, agus nach do chreid iad, ach a
labhair iad olc mu'n t-slighe sin an
làthair an t-sluaigh, dh'fhàg e iad,
agus sgar e na deisciobuil uatha, agus
bha e gach là a' deasboireachd ann
an scoil neach àraidh *d'am b'ainm*
Tirannus.
10 Agus rinneadh so rè dhà
bhliadhna; air chor as gu'n cuala
luchd-àiteachaidh na h-Asia uile,
eadar Iudhaich agus Ghreugaich, fo-
cal an Tighearna Iosa.
11 Agus rinn Dia mìorbhuilean
nach bu bheag le làmhaibh Phòil:

12 Air chor as gu'n d'thugadh o
chorpsan chum nan daoine tinne,
neapaicinne no aprain, agus gu'n
d'fhalbh an euslaintean uatha, agus
gu deachaidh na droch spioraid a
mach asda.
13 Agus ghabh dream àraidh do
na h-Iudhaich, a bha 'g imeachd o
àit gu h-àit, a' cur spiorada fa gheas-
aibh[d], os làimh ainm an Tighearna
Iosa ainmeachadh os ceann na muinn-
tir sin anns an robh droch spioraid,
ag ràdh, Cuireamaid fa gheasaibh
sibh tre Iosa a ta Pòl a' searmonach-
adh.
14 Agus bha aig Scebha Iudhach
àraidh, aon do na h-àrd shagartaibh,
seachdnar mhac a bha deanamh so.
15 Agus fhreagair an droch spior-
ad, agus thubhairt e, Tha eòlas agam
air Iosa, agus is aithne dhomh Pòl:
ach cò sibhse?
16 Agus leum an duine anns an
robh an droch spiorad *orra*, agus air
dha làmh an uachdar fhaotainn orra,
thug e buaidh orra, air chor as gu'n
do theich iad a mach as an tigh sin
lomnochd agus reubta.
17 Agus fhuair na h-Iudhaich
uile agus mar an ceudna na Greug-
aich a bha thàmh ann an Ephesus
fios air so; agus thuit eagal orra uile,
agus bha ainm an Tighearna Iosa
air àrdachadh.
18 Agus thainig mòran diubhsan
a chreid, ag aideachadh, agus ag inn-
seadh an gnìomhara.
19 Agus thug mòran diubhsan a
bha gnàthachadh dhroch innleachda,
an leabhraiche leo, agus loisg siad iad
am fianuis nan uile: agus dh'àir-
eamh iad an luach, agus fhuair iad e
'na leth-chead mìle *bonn* airgid.
20 Mar sin le cumhachd dh'fhàs
agus bhuadhaich focal an Tighearna.
21 Agus an uair a choimhlionadh
na nithe so, chuir Pòl roimhe 'na
spiorad, an déigh dha imeachd tre
Mhacedonia, agus Achaia, dol gu
Hierusalem, ag ràdh, An déigh
dhomh bhi an sin, 'is éigin domh an
Ròimh fhaicinn mar an ceudna.
22 Agus air dha dithis dhiubhsan
a bha frithealadh dha, Timoteus, agus

[d] *a' cur spiorda fo mhionnaibh, a' tilgeadh a mach spiorada.*

Erastus, a chur do Mhacedonia, dh'fhan e féin rè tamuill san Asia.

23 Agus dh'éirich mu'n àm sin iomairt[c] nach bu bheag mu thimchioll na slighe sin.

24 Oir bha ceard-airgid àraidh d'am b'ainm Demetrius *ann*, a bha deanamh theampull airgid[f] do Dhiana, agus a thug buannachd nach bu bheag do'n luchd-ceirde.

25 Agus air dha iadsan a chruinneachadh an ceann a chéile, agus a' mhuinntir eile a bha dh'aon cheird riu, thubhairt e, Fheara, tha fhios agaibh gur ann o'n cheird sò a ta ar beartas[g] againne:

26 Os barr, tha sibh a' faicinn agus a' cluinntinn gu bheil am Pòl so le chomhairle air tionndadh air falbh sluaigh mhòir, cha'n e mhàin ann an Ephesus, ach cha mhòr[h] san Asia uile, ag ràdh, Nach dée iad a nithear le làmhaibh:

27 Air chor as nach e mhàin gu bheil e'n cunnart gu'n deanar tàir air ar ceird; ach mar an ceudna gu cuirear teampull na bain-dé mòire Diana an neo-prìs, agus gu claoidhear a mòrachdsa, d'am bheil an Asia uile, agus an domhan a' deanamh aoraidh.

28 Agus an uair a chual iadsan *so*, lìonadh le feirg iad agus ghlaodh iad, ag ràdh, *Is* mòr Diana nan Ephesianach.

29 Agus bha am baile uile air a lìonadh le mi-riaghailt: Agus ruith iad a dh'aon toil chum àite-cruinnich an t-sluaigh, a' tarruing leo Ghaiuis agus Aristarchuis Macedonaich, luchd comh-thuruis Phòil.

30 Agus an uair a b'àill le Pòl dol a steach chum an t-sluaigh, cha do leig na deisciobuil leis.

31 Agus mar an ceudna chuir cuid do uachdaranaibh na h-Asia a bha 'nan càirdibh dha, fios chuige, a' guidheadh *air* nach rachadh e gu àite-cruinnich an t-sluaigh.

32 Ghlaodh uime sin cuid diubh aon ni, agus cuid ni eile: oir bha an coimhthional tre a chéile, agus cha robh fios aig a' chuid bu mhò c'ar son a thainig iad cuideachd.

33 Agus tharruing iad a mach Alecsander as an t-sluagh, air bhi do na h-Iudhachaibh 'ga iomain rompa. Agus smèid Alecsander le làimh, agus b'àill leis a leithsgeul a' ghabhail ris an t-sluagh.

34 Ach an uair a thuig iad gu'm b'Iudhach e, rinneadh àrd iolach leo uile mu thimchioll ùine dhà uair, a' glaodhaich, *Is* mòr Diana nan Ephesianach.

35 Agus an uair a chiùnaich an cléireach[i] an sluagh, thubhairt e, Fheara Ephesuis, cò an duine aig nach 'eil fios gu bheil cathair[l] nan Ephesianach a' deanamh aoraidh do'n bhain-dia mhòir Diana, agus do'n *dealbh* a thuit a nuas o Iupiter?

36 Air an aobhar sin do bhrigh nach fheudar cur an aghaidh nan nithe so, is còir dhuibhse bhi ciùin, agus gun ni sam bith a dheanamh gu h-obann.

37 Oir thug sibh an so na daoine so, ge nach 'eil iad a' creachadh theampull, no a' toirt toibheim d'ar bain-dia.

38 Uime sin ma ta aig Demetrius agus aig an luchd-ceird a ta maille ris, cùis an aghaidh neach air bith, tha'n lagh réidh *dhoibh*, agus tha uachdarain *ann*; agradh iad a chéile.

39 Ach ma ta ceisd sam bith agaibh mu nithibh eile, réitichear sin ann an coimhthional dligheach.

40 Oir tha sinn an cunnart bhi air ar n-agairt air son ceannairc air an là'n diugh, do bhrigh nach 'eil cùis sam bith againn a dh'fheudas sinn a thoirt seachad mar aobhar a' chruinneachaidh so.

41 Agus air dha so a ràdh, sgaoil e an coimhthional.

CAIB. XX.

1 Tha Pòl a' dol do Mhacedonia: 7 Tha e frithealadh suipeir an Tighearna, agus a' searmonachadh: 9 air do Eutichus tuiteam sìos an cruth mairbh, thogadh suas beo e. 17 Tha Pòl aig Miletus a' gairm seanairean na h-eaglais an ceann a chéile, ag innseadh dhoibh ciod a bha gu tachairt dha féin, &c.

AGUS an déigh do'n chomhghàir[m] sgur, ghairm Pòl na

[c] *buaireas.* [f] *dealbh-theampull.* [g] *saibhreas.* [h] *air bheag nithe.*
[i] *Cléireach-sgrìobhaidh* a' bhaile. [l] *baile.* [m] *bhuaireas.*

deisciobuil d'a ionnsuidh, agus air dha a chead a ghabhail diubh[m], thriall e gu dol do Mhacedonia.

2 Agus air dha dol tre na crìoch-aibh sin, agus mòr earail a dheanamh orra, thainig e do'n Ghréig,

3 Agus dh'fhan e *an sin* tri mìosan: agus an uair a bha na h-Iudhaich ri feall-fholach[n] air a shon, agus e air tì[o] dol air luing do Shiria, chuir e roimhe pilltinn tre Mhacedonia.

4 Agus chaidh 'na chuideachd gu h-Asia, Sopater o Bherea; agus do mhuinntir Thesalonica, Aristarchus agus Secundus; agus Gaius o Dherbe, agus Timoteus; agus do mhuinntir na h-Asia, Tichicus agus Trophimus.

5 Air dhoibh so imeachd romh-ainne, dh'fheith iad ruinn ann an Troas.

6 Agus sheòl sinn o Philipi, an déigh làithean an arain neo-ghoirt-ichte, agus thainig sinn d'an ionn-suidhsan gu Troas ann an cùig làithibh, far an d'fhan sinn seachduin.

7 Agus an ceud *là* do'n t-seachd-uin, air do na deisciobluibh cruinn-eachadh an ceann a chéile a bhriseadh arain, shearmonaich Pòl doibh, air bhi fuidhe[p] imeachd uatha air an là màireach, agus lean e air labhairt gu meadhon-oidhche.

8 Agus bha mòran lòchran anns an t-seomar uachdarach, far an robh iad cruinn.

9 Agus bha òganach àraidh d'am b'ainm Eutichus 'na shuidhe ann an uinneig, air tuiteam gu trom 'na chodal: agus air do Phòl bhi rè fad a' searmonachadh, shàruicheadh leis a' chodal e, agus thuit e sìos o'n treas lobhta, agus thogadh marbh e.

10 Agus chaidh Pòl sìos, agus thuit e air, agus air dha a glacadh 'na uchd, thubhairt e, Na biodh trioblaid[r] oirbh; oir a ta anam ann.

11 Agus air dol suas da a rìs, bhris e aran agus dh'ith e, agus labhair e riu rè ùine fhada, eadhon gu teachd na maidne, agus mar sin dh'fhalbh e.

12 Agus thug iad leo an t-oganach agus e beo, agus rinn iad gairdeachas nach bu bheag.

13 Agus air dhuinne imeachd air thoiseach chum na luinge, sheòl sinn gu Asos, fa rùn Pòl a ghabhail a steach an sin: oir is ann mar sin a dh'òrduich e, a' cur roimhe gu'n imicheadh e féin d'a chois.

14 Agus an uair a choinnich e sinn aig Asos, ghabh sinn a steach e, agus thainig sinn gu Mitilene.

15 Agus air seòladh dhuinn as sin, thainig sinn air *an là* màireach fa chomhair Chiois; agus air an *latha* 'na dhéigh sin thainig sinn gu Samos, agus dh'fhan sinn aig Trogillium; agus air an *latha* b'fhaisge thainig sinn gu Milètus.

16 Oir chuir Pòl roimhe seòladh seach Ephesus, chum nach tarladh dha moille a dheanamh anns an Asia: oir bha deifir air[s], chum nam feudadh e, bhi ann an Ierusalem air latha na Cuingeis.

17 Agus air cur fios o Mhiletus gu h-Ephesus, ghairm e d'a ionnsuidh seanairean na h-eaglais.

18 Agus an uair a thainig iad d'a ionnsuidh, thubhairt e riu Tha fhios agaibh, cionnus a bha mi 'nar measg anns an uile aimsir, o'n cheud là a thainig mi do'n Asia,

19 A' deanamh seirbhis do'n Tigh-earn leis gach uile irioslachd inntinn, agus maille ri mòran dheur, agus dheuchainnean, a thachair dhomh le ceilg nan Iudhach:

20 *Agus* cionnus nach do ghleidh mi ni sam bith am folach a bha feumail *dhuibhse*, gun a nochdadh dhuibh, agus gun sibhse a theagasg am follas, agus o thigh gu tigh,

21 A' deanamh fianuis araon do na h-Iudhaich, agus do na Greugaich, mu aithreachas a thaobh Dhé, agus *mu* chreidimh a thaobh ar Tighearna Iosa Criosd.

22 Agus a nis feuch, a ta mi dol gu Hierusalem ceangailte san Spiorad, gun fhios agam ciod iad na nithe a tharlas dhomh an sin:

23 Ach a mhàin gu bheil an Spiorad naomh a' deanamh fianuis

[m] *an glacadh 'na uchd.* [n] *a' luidhe am folach, am plaid.* [o] *a rùn air.* [p] *agus a rùn air.* [r] *buaireas.* [s] *rinn e cabhag.*

annns gach baile, ag ràdh, Gu bheil geimhlichean agus trioblaidean[t] a' feitheamh orm.

24 Ach cha 'n'eil suim agam do ni air bith, ni mò mheasam m'anam féin luachmhor dhomh, chum gu crìochnaich mi mo thurus[u] le h-aoibhneas, agus gu *coimhlion* mi a' mhinistreilleachd a fhuair mi o'n Tighearn Iosa, a dheanamh fianuis do shoisgeul gràis Dhé.

25 Agus a nis feuch, a ta fhios agam nach faic sibhse uile, measg an d'imich mise a' searmonachadh rioghachd Dhe, mo ghnùis ni's mò.

26 Uime sin a ta mi a' deanamh fianuis duibh[a] air an là'n diugh, gu bheil mise glan o fhuil nan uile.

27 Oir cha do sheachainn mi uile chomairle Dhé fhoillseachadh dhuibh.

28 Air an aobhar sin thugaibh aire dhuibh féin, agus do'n treud uile, air an d'rinn an Spiorad naomh luchd-coimhead[b] dhibh, a bheathachadh eaglais Dhé[c], a cheannaich e le fhuil féin.

29 Oir a ta fhios agamsa air so, an déigh m' imeachdsa gu'n d'thig madruidh-allaidh gharga 'nar measg, nach caomhain an treud.

30 Agus éiridh daoine dhibh féin, a labhras nithe fiara, chum deisciobuil a tharruing 'nan déigh féin.

31 Uime sin deanaibh faire, a' cuimhneachadh nach do sguir mise rè thri bliadhna, a chomhairleachadh gach aon agaibh a là agus a dh'oidhche le deuraibh.

32 Agus a nis, a bhràithre, earbam sibh ri Dia, agus ri focal a ghràis, a ta comasach air bhur togail suas, agus oighreachd a thoirt duibh am measg na muinntir sin uile a ta air an naombhachadh.

33 Cha do shannaich mi airgiod, no òr, no eudach duine sam bith.

34 Seadh, is aithne dhuibh féin, gu'n do fhritheil na làmhan so do m' uireasbhuidh féin, agus do'n mhuinntir sin a bha maille rium.

35 Nochd mi na h-uile nithe dhuibh, gur ann le saothrachadh mar so is còir dhuibh còmhnadh a dheanamh riu-san a ta anmhunn[e]; agus focail an Tighearna Iosa a chuimhneachadh, mar a thubhairt e, *Tha e ni's beannuichte ni a thabhairt na ghabhail.*

36 Agus air dha na briathra so a ràdh, leig se e féin air a ghlùinibh, agus rinn e ùrnuigh maille riu uile.

37 Agus ghuil iad uile gu goirt, agus thuit iad air muineal Phòil, agus phòg iad e,

38 Air dhoibh bhi gu h-àraidh brònach air son nam briathar so a thubhairt e, Nach faiceadh iad a ghnùis-san ni's mò. Agus thug iad coimheadachd dha chum na luinge.

CAIB. XXI.

1 *Cha ghabh Pòl comhairleachadh a*
dhol gu Hierusalem. 3 *Mu Philip*
an soisgeulaiche, agus a' cheathrar
nighean a bha 'nam ban-fhàidhibh.
17 *Tha Pòl a' teachd gu Hierusa-*
lem, 27 *far am bheil e air a ghlac-*
adh agus an cunnart mòr; &c.

AGUS air dhuinn dealachadh riu-san, sheòl sinn romhainn, agus thainig sinn gu dìreach gu Coos, agus air an *là* màireach gu Rhodos, agus as sin gu Patara.

2 Agus air dhuinn long fhaotainn a bha a' gabhail thairis gu Phenicia, chaidh sinn air bord, agus sheòl sinn romhainn.

3 Agus air dhuinn teachd an sealladh Chipruis, agus fhàgail air an làimh chli, sheòl sinn gu Siria, agus thainig sinn tìr aig Tirus: oir is ann an sin a bha an long gus a luchd a chur a mach.

4 Agus air dhuinn deisciobuil fhaotainn, dh'fhan sinn an sin seachd làithean: muinntir a thubhairt ri Pòl tre'n Spiorad, gun e dhol suas gu Hierusalem.

5 Agus an uair a chrìochnaicheadh na làithean sin, chaidh sinn a mach, agus thriall sinn romhainn, agus thainig iadsan uile maille ri mnaibh agus ri cloinn 'nar cuideachd, a mach as a' bhaile: agus leig sinn air ar glùinibh sinn air an tràigh, agus rinn sinn ùrnuigh.

[t] *àmhghair.* [u] *thriall, chùrsa.* [a] *gabham sibhse mar fhianuisibh.*
[b] *easbuigean.* [c] *eaglais an Tighearna.* [e] *lag*

6 Agus an déigh dhuinn ar cead a ghabhail d'a chéile, chaidh sinn do'n luing; agus phill iadsan d'an tighibh féin.

7 Agus an uair a chrìochnuich sinn ar turus[f] o Thirus, thainig sinn gu Ptolemais, agus chuir sinn fàilte air na bràithribh, agus dh'fhan sinn aon latha maille riu.

8 Agus air an *là* màireach, air dhuinne, a bha do chuideachd Phòil, imeachd, thainig sinn gu Cesarea; agus chaidh sinn a steach do thigh Philip an t-soisgeulaiche, (a bha do'n t-seachdnar) agus dh'fhan sinn aige.

9 Agus bha ceathrar nighean aigesan, òighean, a bha ri fàidheadaireachd.

10 Agus ag fantuinn duinn mòran do làithibh *an sin*, thainig a nuas o Iudea fàidh àraidh, d'am b'ainm Agabus.

11 Agus air teachd dha d'ar ionnsuidhne, ghabh e crios Phòil, agus cheangail e a làmhan agus a chosan féin, agus thubhairt e, Mar so a deir an Spiorad naomh, Is ann mar so a cheanglas na h-Iudhaich ann an Ierusalem an duine d'am buin an crios so, agus bheir iad thairis *e* do làmhaibh nan Cinneach.

12 Agus an uair a chuala sinne na nithe so, ghuidh sinn féin agus muinntir an àite air, gun *e* dhol suas gu Hierusalem.

13 An sin fhreagair Pòl, Ciod is ciall duibh a' gul, agus a' briseadh mo chridhe? oir a ta mise ullamh cha'n e mhàin gu bhi air mo cheangal, ach eadhon gu basachadh ann an Ierusalem air son ainme an Tighearna Iosa.

14 Agus an uair nach gabhadh e comhairle, sguir sinne, ag ràdh, Deanar toil an Tighearna.

15 Agus an déigh nan làithean so air dhuinn bhi ullamh[g], chaidh sinn suas gu Hierusalem.

16 Agus chaidh mar an ceudna maille ruinn *cuid* do na deisciobluibh o Chesarea, a' toirt leo Mhnasoin o Chiprus, seann deisciobul àraidh, aig an robh sinn gu bhi air aoidheachd.

17 Agus an uair a thainig sinn gu Hierusalem, ghabh na bràithre ruinn gu subhach.

18 Agus air an ath *là*, chaidh Pòl maille ruinne dh'ionnsuidh Sheumais; agus bha na seanairean uile a làthair.

19 Agus air dhasan fàilte chur orra, chuir e'n céill doibh fa leth na nithe a rinn Dia le mhinistreileachdsan am measg nan Cinneach.

20 Agus an uair a chual iadsan *so*, thug iad glòir do'n Tighearn[h], agus thubhairt iad ris-san, Tha thu faicinn, a bhràthair, cia lion mìle do na h-Iudhachaibh a ta creidsinn, agus tha iad uile ro eudmhor mu'n lagh.

21 Agus chual iad umadsa, gu bheil thu teagasg do na h-Iudhachaibh uile a ta measg nan Cinneach, Maois a thréigsinn, ag ràdh *riu*, Nach còir dhoibh *an* clann a thimchiollghearradh, no gluasad a *réir* nan gnàth[i].

22 Ciod uime sin *a nithear*? Gun teagamh, 's éigin do'n t-sluagh cruinneachadh: oir cluinnidh iad gu'n d'thainig thu.

23 Uime sin dean so a deir sinne riut: Tha ceathrar fhear maille ruinne, air am bheil mòid;

24 Bair iadsan leat, agus bi air do ghlanadh maille riu, agus dean costus[l] leo, chum gu bearr[m] iad *an* cinn: agus gu'm bi fhios aig na h-uile nach 'eil ach neo-ni anns na chual iad mu d' thimchiollsa, ach *gu* bheil thu féin mar an ceudna ag imeachd gu riaghailteach, agus a coimhead an lagha.

25 Ach mu thimchioll nan Cinneach a chreid, scrìobh sinne agus b'i ar breth, gun iad a ghleidheadh a h-aon do na nithibh sin, ach a mhàin iad féin a choimhead o nithibh a chaidh iobradh do iodholaibh, agus o fhuil, agus o ni tachdta, agus o strìopachas.

26 An sin ghabh Pòl na daoine; agus air an là màireach air dha bhi air a ghlanadh maille riu, chaidh e steach do'n teampull, a' foillseachadh coimhlionaidh laithean a ghlanaidh,

[f] *triall, taisdeal, cùrsa.* [g] *thog sinn ar n-airneis, agus &c.* [h] *do Dhia.* [i] *a réir gnàthanna* [*an lagha.*] [l] *caitheamh, cosgus.* [m] *lom.*

gus an d' thugtadh tabhartas air son gach aon aca.

27 Agus an uair a bha na seachd làithean air bheag nith'[n] air an coimhlionadh, air do na h-Iudhachaibh o'n Asia esan fhaicinn san teampull, bhrosnaich iad am pobull uile, agus chuir iad làmh ann,

28 Ag éigheach, Fheara Israeil, cuidichibh: is e so an duine a ta teagasg nan uile dhaoine anns gach àit an aghaidh a' phobuill, agus an lagha, agus an àite so: agus os barr, thug e steach Greugaich do'n teampull, agus shalaich e'n t-ionad naomha so.

29 (Oir chunnaic iad Trophimus an t-Ephesianach roimhe sin anns a' bhaile maille ris, agus shaoil iad gu'n d'thug Pòl a steach do'n teampull e.)

30 Agus ghluaiseadh am baile gu h-iomlan, agus ruith an sluagh cuideachd: agus air dhoibh breith air Pòl, tharruing iad a mach as an teampull e: agus air ball dhùineadh na dorsa.

31 Agus an uair a b'àill leo a mharbhadh, chaidh sgeula dh'ionnsuidh àrd cheannaird na cuideachd, gu'n robh Ierusalem uile thar a chéile[o].

32 Neach air ball a thug leis saighdearan, agus ceannardan-cheud, agus a ruith sìos d'an ionnsuidh: Agus an uair a chunnaic iadsan an t-àrd cheannard agus na saighdearan, sguir iad do bhualadh Phòil.

33 An sin thainig an t-àrd cheannard am fagus agus rug e air, agus dh'àithn e a cheangal le dà shlabhraidh; agus dh'fhiosraich e, Cò e, agus ciod a rinn e.

34 Agus ghlaodh aon chuid am measg an t-sluaigh aon ni, agus cuid eile ni éile: agus an uair nach robh e an comas da cinnteachd *na cùise* a thuigsinn air son na h-àrd bhruidhne, dh'orduich e esan a thoirt do'n chaisteal.

35 Agus an uair a thainig e chum na staidhreach, tharladh gu'n do ghiùlaineadh e leis na saighdearaibh, air son foireigin an t-sluaigh.

36 Oir lean am mòr shluagh e, a' glaodhaich, Beir uainn e.

37 Agus an uair a bha Pòl gu bhi air a thoirt a steach do'n chaisteal, thubhairt e ris an àrd cheannard, An cead domhsa ni a labhairt riut? agus thubhairt esan, An labhair thu Gréigis?

38 Nach tusa an t-Eiphiteach sin a thog ceannairc roimh na làithibh so, agus a thug leat do'n fhàsach ceithir mile fear a bha 'nan luchdmortaidh?

39 Ach thubhairt Pòl, Is duine mise a tha m' Iudhach gun amharus o Tharsus, saor dhuine do bhaile ro inbheach ann an Cilicia: agus guidheam ort, thoir cead domh labhairt ris an t-sluagh.

40 Agus an uair a thug e cead da, Air do Phòl seasamh air an staidhir, smèid e le làimh air an t-sluagh, ag iarraidh éisdeachd: agus air fantuinn ro thosdach dhoibhsan, labhair e riu sa' chànain Eabhruidhich, ag ràdh.

CAIB. XXII.

1 *Tha Pòl gu paillt a' cur an céill
cionnus a dh'iompoicheadh chum
a' chreidimh e,* 17 *agus a ghairm-
eadh e chum na h-abstolachd.* 22
*Ag dhasan na Cinnich ainmeach-
adh, thog am pobull aon ghàir ris:*
24 *Bha e gu bhi air a sgiùrsadh;*
25 *ach air dha a chòir-shaorsa mar
Romhanach agairt, léigeadh as e.*

FHEARA, a bhràithre, agus aithriche, éisdibhse ri m' dhionchainnt[p] ribh a nis:

2 (Agus an uair a chual iadsan gu'n do labhair e riu sa' chànain Eabhruidhich, bu mhòid a thosd iad: agus thubhairt esan,)

3 Is Iudhach mise do rìreadh, a rugadh ann an Tarsus na Cilicia, ach a dh'oileadh[r] sa' bhaile so, aig cosaibh Ghamaliel, *agus* a theagaisgeadh gu coimhlionta a réir gnàtha lagha nan aithriche, agus bha mi eudmhor a thaobh Dhé, mar a ta sibhse uile an diugh.

4 Agus rinn mi geur-leanmhuinn gu bàs air an t-slighe so, a' ceangal

[n] *cha mhòr.* [o] *fa bhuaireas.* [p] *mo leithsgeul.*
[r] *thogadh suas.*

fhear agus bhan, agus 'gan tarruing gu priosun:

5 Mar a ni an t-àrd shagart mar an ceudna fianuis domh, agus comhairle nan seanair uile; o'n d'fhuair mise mar an ceudna litriche chum nam bràithre, agus chaidh mi gu Damascus, chum an dream a bha'n sin a thoirt ceangailte gu Hierusalem, chum gu deantadh peanas orra.

6 Agus tharladh, air dhomh bhi'g imeachd, agus a' druideadh ri Damascus mu mheadhon-là, gu'n do dhealraich gu h-obann o nèamh solus mòr mu'n cuairt orm.

7 Agus thuit mi air an talamh, agus chuala mi guth ag ràdh, A Shauil, a Shauil, c'ar son a ta thu 'gam gheur-leanmhuinnse?

8 Agus fhreagair mise, Cò thu, a Thighearn? Agus thubhairt e rium, is mise Iosa o Nasaret, air am bheil thus a' deanamh geur-leanmhuinn.

9 Agus chunnaic na daoine a bha maille rium an solus gu deimhin, agus ghabh iad eagal; ach cha chual iad guth an ti a labhair riumsa.

10 Agus thubhairt mise, Ciod a ni mi, a Thighearn? Agus thubhairt an Tighearn rium, Eirich, agus imich gu Damascus, agus an sin labhrar riut mu thimchioll nan nithe sin uile a dh'orduicheadh dhuits' a' dheanamh.

11 Agus an uair nach bu léir dhomh tre ghlòir an t-soluis sin, air dhomh bhi air mo threòrachadh air làimh leosan a bha maille rium, thainig mi gu Damascus.

12 Agus air do dhuine àraidh *d'am b'ainm* Ananias, a bha cràbhach a réir an lagha, agus air an robh deadh theisteas aig na h-Iudhachaibh uile a bha chòmhnuidh *an sin*,

13 Teachd am' ionnsuidh, agus seasamh làimh rium, thubhairt e rium, A Shauil a bhràthair, gabh do radharc. Agus air an uair sin féin dh'amhairc mi suas air.

14 Agus thubhairt esan, Thagh Dia ar n-aithriche roimh-làimh thusa, chum gu'n gabhadh tu eòlas air a thoil, agus gu'm faiceadh tu an t-Aon cothromach sin, agus gu'n cluinneadh tu guth as a bheul.

15 Oir bithidh tu a't'fhianuis aige chum nan uile dhaoine, air na nithibh a chunnaic agus a chuala tu.

16 Agus a nis c'ar son a ta thu a' deanamh moille? Eirich, agus bi air do bhaisteadh, agus ionnlaid uait do pheacanna, a' gairm air ainm an Tighearna.

17 Agus tharladh, 'nuair a phill mise gu Hierusalem, agus a bha mi a' deanamh ùrnuigh san teampull, gu'n deachaidh mi ann an neul,

18 Agus gu'm faca mi esan ag ràdh rium, Dean deifir, agus imich gu grad a Hierusalem; oir cha ghabh iad ri d' theisteas mu m' thimchioll-sa.

19 Agus thubhairt mise, A Thighearn, tha fhios aca gu robh mise a' tilgeadh am priosun, agus a' sgiursadh anns gach sionagog iadsan a chreid annadsa.

20 Agus an uair a dhòirteadh fuil do mhairtirich[s] Stephain, bha mise mar an ceudna a'm' sheasamh a làthair, agus ag aontachadh leis a mharbhadh, agus a' coimhead eudaich na muinntir a mharbh e.

21 Agus thubhairt e rium, Imich: oir cuiridh mise thu am fad chum nan Cinneach.

22 Agus dh'éisd iad ris gus an fhocal so, agus thog iad *an sin* an guth gu h-àrd, ag ràdh, Beir o'n talamh a leithid so do dhuine; oir cha chòir e bhi beo.

23 Agus an uair a bha iadsan ag éigheach, agus a' tilgeadh dhiubh *an* eudaich, agus a' tilgeadh luaithre san athar[t],

24 Dh'àithn an t-àrd cheannard esan a thoirt do'n chaisteal, ag orduchadh a cheasnachadh le a sgiùrsadh; chum gu faigheadh e fios ciod i a' choire mu'n robh iad a' glaodhaich mar sin 'na aghaidh.

25 Agus an uair a bha iad 'ga cheangal le iallaibh, thubhairt Pòl ris a' cheannard-ceud a sheas a làthair, Am bheil e ceaduichte dhuibhse duine a ta 'na Romhanach a sgiùrsadh, agus gun e air a dhìteadh?

[s] *t' fhianuis-se.* [t] *aidhear.*

26 Agus an uair a chual an ceannard-ceud *so*, dh'imich e agus dh'innis e do'n àrd cheannard, ag ràdh, Thoir fainear ciod a ni thu; oir is Romhanach an duine so.

27 An sin air teachd do'n àrd cheannard d'a ionnsuidh, thubhairt e ris, Innis dombsa, an Romhanach thu? Agus thubhairt esan, Is mi.

28 Agus fhreagair an t-àrd cheannard, Is mòr an t-suim air an do cheannaich mise an t-saorsa so. Agus thubhairt Pòl, Ach rugadh mise *saor*.

29 An sin dh'imich iadsan uaith air ball a bha gus a cheasnachadh: agus ghabh an t-àrd cheannard mar an ceudna eagal 'nuair a thuig e gu'm bu Romhanach e, agus a chionn gu'n do cheangail se e.

30 Agus air an *là* màireach, air dha bhi togarrach air fios cinnteach fhaotainn ciod *i* a' choire a bha na h-Iudhaich a 'cur as a leth, dh'fhuasgail se e *o a* chuibhreachaibh, agus dh'àithn e do na h-àrd shagairtaibh agus d'an comhairle uile teachd a lathair, agus air dha Pòl a thoirt sìos, chuir e 'nam fianuis e.

CAIB. XXIII.

1 *Tha Pòl a' tagradh a chùis.* 2 *Tha Ananias ag orduchadh a bhualadh.* 7 *Connsachadh am measg a luchd-casaid,* 11 *Tha Dia a' toirt misnich dha.* 14 *Tha feall nan Iudhach an aghaidh Phòil air a nochdadh do'n àrd cheannard.* 25 *Tha e 'ga chur gu Felics an t-uachdaran.*

AGUS air dearcadh do Phòl air a' chomhairle, thubhairt e, Fheara *agus* a bhràithre, anns an uile dheadh choguis chaith mise mo bheatha a thaobh Dhé gus an là'n diugh.

2 Agus dh'àithn an t-àrd shagart Ananias dhoibhsan a bha 'nan seasamh làimh ris, a bhualadh air a bheul.

3 An sin thubhairt Pòl ris, Buailidh Dia thusa, a bhalla ghealaichte: oir am bheil thusa a'd' shuidhe a thoirt breth ormsa a réir an lagha, agus an aghaidh an lagha ag orduchadh mo bhualadh?

4 Agus thubhairt iadsan 'a sheas làimh ris, Am bheil thusa a' toirt anacainnt[a] do àrd shagart Dhé?

5 An sin thubhairt Pòl, Cha robh fhios agam[b], a bhràithre, gu'm b'e an t'àrd shagart e: oir a ta e sgrìobhta, Na labhair olc mu uachdarán do phobuill.

6 Ach an uair a thuig Pòl, gu robh cuid diubh 'nan Sadusaich, agus a' chuid eile 'nam Phairisich, ghlaodh e anns a' chomhairle. Fheara agus a bhràithre, is Phairiseach mise, mac Phairisich: is ann a leth dòchais agus aiseirigh nam marbh, a tha mi air mo thoirt am breitheanas.

7 Agus air dhasan so a labhairt, dh'éirich comhstribh eadar na Phairisich agus na Sadusaich: agus roinneadh an coimhthional *an aghaidh a chéile.*

8 Oir a deir na Sadusaich nach 'eil aiseirigh, no aingeal, no spiorad ann; ach a ta na Phairisich ag aideachadh gach aon diubh[c].

9 Agus dh'éirich gàir[d] mhòr: agus air seasamh suas do na sgrìobhuichibh a bha air taobh nam Phairiseach, chathaich iad *'nan aghaidh*, ag ràdh, Cha 'n'eil sinne faotainn[e] cron air bith san duine so: ach ma labhair spiorad no aingeal ris, na cogamaid an aghaidh Dhé.

10 Agus an uair a dh'éirich connsachadh mor *eatorra*, air do'n àrd cheannard bhi fa eagal gu'n rachadh Pòl a tharruing as a chéile leo, dh'àithn e do na saighdearaibh dol sìos, agus esan a thogail leis an làimh làidir as am meadhon, agus a thoirt do'n chaisteal.

11 Agus air an oidhche 'na dhéigh sin, sheas an Tighearn làimh ris, agus thubhairt e, Biodh misneach mhaith agad, a Phòil; oir mar a rinn thu fianuis a'm' thimchiollsa ann an Ierusalem, is amhuil sin is éigin duit fianuis dheanamh anns an Ròimh.

12 Agus air teachd do'n là, chruinnich dream àraidh do na h-Iudhachaibh an ceann a chéile[f], agus chuir

[a] *càineadh.* [b] *Cha d'thug mi fainear.* [c] *'gan aideachadh le chéile.* [d] *iolach.* [e] *faghail, faghainn.* [f] *rinn dream àraidh do na h-Iudhaich comh-bhann r'a chéile.*

siad iad féin fa mhallachadh, ag ràdh,
nach itheadh agus nach òladh iad gus
am marbhadh iad Pòl.
13 Agus bha iad os cionn dà fhich-
ead *fear* a rinn an coimh-mhionn-
achadh so.
14 Agus thainig iad chum nan
àrd shagart, agus nan seanair, agus
thubhairt iad, Chuir sinne sinn féin
fa àrd mhallachadh, nach blaiseamaid
ni sam bith gus am marbhamaid
Pòl.
15 A nis uime sin iarraibhse
maille ris a' chomhairle air an àrd
cheannard, gu'n d'thugadh e d'ar
ionnsuidhs' e am màireach, mar gu
biodh a rùn oirbh fios fhaotainn ni bu
choimhlionta air ni éigin m'a thim-
choill: agus tha sinne deas chum
esan a mharbhadh, mu'n d'thig e'm
fagus duibh.
16 Agus an uair a chuala mac
peathar Phòil am feall-fholach[g] so,
thainig e, agus air dha dol a steach
do'n chaisteal, dh'innis e sin do
Phòl.
17 An sin ghairm Pòl d'a ionns-
uidh aon do na ceannardaibh-cheud,
agus thubhairt e, Thoir an t-òganach
so chum an àrd cheannaird; oir a ta
ni àraidh aige r'a innseadh dha.
18 An sin thug e leis e, agus
threòraich se e chum an àrd cheann-
aird, agus thubhairt e, Ghairm Pòl
am priosunach mise d'a ionnsuidh,
agus ghuidh e orm an t-òganach so
thoirt a't'ionnsuidhse, aig am bheil
ni-eigin r'a innseadh dhuit.
19 An sin rug an t-àrd cheannard
air a làimh, agus chaidh e a leth-taobh
an uaigneas *maille ris*, agus dh'fhios-
raich *e dheth*, Ciod a tha agad r'a
innseadh dhomhsa?
20 Agus thubhairt esan, Rinn na
h-Iudhaich comhairle iarraidh ortsa,
gu'n d'thugadh tu Pòl am màireach
do'n chomhairle, mar gu'm biodh iad
gu rannsachadh ni's géire a dheanamh
air ni-eigin m'a thimchioll.
21 Ach na aontaich thusa leo: oir
a ta os cionn dà fhichead fear dhiubh
ri feall-fholach 'na aghaidh, a chuir
iad féin fa mhallachadh, nach ith
agus nach òl iad gus am marbh iad
e: agus a nis tha iad ullamh, a
feitheamh re gealladh uaitse.
22 *An sin* leig an t-àrd cheannard
uaith an t-òganach, agus dh'àithn e
dha, ag ràdh, Feuch, nach innis thu
do neach sam bith, gu'n d'fhoillsich
thu na nithe so dhomhsa.
23 Agus ghairm e d'a ionnsuidh
dà cheannard-ceud, agus thubhairt e,
Ulluichibh dà cheud saighdear a
théid gu Cesarea, agus deich agus tri
fichead marcach, agus dà cheud fear-
sleadha, air an treas uair do'n oidh-
che.
24 Agus ulluichibh eich, chum air
dhoibh Pòl a chur orra, gu'n toir iad
e gu tèaruinte chum an uachdarain
Felics.
25 Agus scrìobh e litir air a'
mhodh so:
26 Beatha agus slàinte o Chlaud-
ius Lisias, chum an uachdarain ro
oirdheirc Felics.
27 Ghlacadh an duine so leis na
h-Iudhachaibh, agus an uair a bha
iad air tì a mharbhadh, thainig mise
orra le saighdearaibh, agus thug mi
dhiubh e, a' tuigsinn gu'm bu Romh-
anach e.
28 Agus air dhomh bhi toileach
air fios an aobhair fhaotainn air son
an d'agair iad e, thug mi sìos e chum
an comhairle-san:
29 Agus thuig mi gu'n robh e air
agairt mu cheisdibh d'an lagh féin,
gun ni sam bith air a chur as a leth a
b'airidh air bàs no air ceanglaichibh.
30 Ach an uair a dh'innseadh
dhomh gu'n robh na h-Iudhaich gu
feall a chaitheadh air an duine, air
ball chuir mi a' t'ionnsuidhs' e, agus
thug mi àithne mar an ceudna d'a
luchd-casaid, gach cùis *a bha* aca 'na
aghaidh a chur an céill a'd' làthairse.
Slàn leat.
31 An sin air do na saighdearaibh
Pòl a ghabhail, a réir mar a dh'àithn-
eadh dhoibh, thug iad san oidhche
e gu Antipatris.
32 Agus air an là màireach leig
iad do'n mharc-shluagh dol leis, agus
phill iad féin do'n chaisteal.
33 Agus an uair a chaidh iad a
stigh do Chesarea, agus a thug iad

g *plaid luidhe.*

an litir do'n uachdaran, chuir iad mar an ceudna Pòl 'na fhianuis.

34 Agus an uair a leugh an t-uachdaran *an litir*, dh'fhiosraich e cò an dùthaich o'n robh e. Agus an uair a thuig e *gur ann* o Chilicia *bha e*,

35 Thubhairt e, Eisdidh mi riut, 'nuair a thig do luchd-casaid mar an ceudna. Agus dh'àithn e esan a choimhead ann an talla-breitheanais Heroid.

CAIB. XXIV.

1 *Air do Phòl a bhi air a chasaid le Tertullus an cainntfhear*, 10 *tha e freagairt air a shon féin thaobh a chaitheamh-beatha agus a theagaisg*: 24 *Tha e searmonachadh Chriosd do'n uachdaran agus d'a mhnaoi*. 26 *Tha sùil aigesan ri ceannach uaith, ach an diomhanas*: 27 *fa dheireadh, 'nuair a chuireadh as a dhreuchd e, tha e fàgail Phòil am priosun.*

AGUS an ceann chùig làithean 'na dhéigh sin, chaidh Ananias an t-àrd-shagart sìos maille ris na seanairibh, agus ri Tertullus feartagraidh[h] àraidh, muinntir a nochd iad féin an làthair an uachdarain an aghaidh Phòil.

2 Agus an uair a ghairmeadh a mach e, thòisich Tertullus air a chasaid, ag ràdh, Dho bhrìgh gu bheil sinn tridsa a' mealtuinn mòr shìochaint, agus gu'n d'rinneadh *iomadh* deadh ghniomh do'n chinneach so tre do ghliocas-sa,

3 Tha sinne gabhail ri *so*, anns gach àm agus gach àit, Fhelics ro oirdheirc, maille ris gach uile bhuidheachas.

4 Ach, chum nach cuirinn mòr mhoille ort, guidheam ort, do d' shuairceas gu'n éisd thu rinn gu h-athghoiraid.

5 Oir fhuair sinn am fear so 'na phlàigh, agus a' dùsgadh[i] nan Iudhach uile gu *ceannairc* air feadh an domhain, agus 'na cheann-feadhna do luchd saobh-chreidimh nan Nasarenach.

6 Neach mar an ceudna a thogair an teampull a shalachadh; agus a ghlac sinne, agus b'àill leinn breth a thoirt air a réir ar lagha féin.

7 Ach air teachd do Lisias an tàrd cheannard oirnn, thug é le mòr ainneart as ar làmhaibh *e*,

8 Ag àithneadh d'a luchd-casaid teachd a'd' ionnsuidhse; neach o'm feud thu le a cheasnachadh, fios fhaotainn air na h-uile nithibh a tha sinne a' cur as a leth.

9 Agus dh'aontaich na h-Iudhaich mar an ceudna, ag ràdh, Gu'n robh na nithe sin mar sin.

10 An sin air do'n uachdaran smèideadh air Pol e a labhairt, fhreagair esan, Is mòid mo mhisneach gu freagairt air mo shon féin, gu bheil fhios agam gu robh thusa rè mòrain bhliadhna a'd' bhreitheamh air a' chinneach so:

11 Oir feudaidh tu fios fhaotainn, nach mò na dà latha dheug o chaidh mi suas gu Hierusalem a dheanamh aoraidh.

12 Agus cha d'fhuair iad mi a' deasboireachd ri aon neach san teampull, no a' brosnachadh an t sluaigh *gu ceannairc*, aon chuid sna sionagogaibh, no anns a' bhaile.

13 Ni mò is urrainn iad na nithe sin a dhearbhadh a tha iad a' cur as mo leth.

14 Ach aidicheam so dhuitse, gur ann a *réir* na slighe sin ris an abair iadsan saobh-chreidimh, a dheanams' aoradh do Dhia m'aithriche, a' creidsinn nan uile nithe a ta scrìobhta san lagh agus anns na fàidhibh:

15 Agus a ta dòchas agam an Dia, ris am bheil sùil mar an ceudna aca féin, gu'n d'thig aiseirigh nam marbh, nam fìrean araon agus nan neo-fhìrean.

16 Agus an so saothraicheam a ghnàth coguis[k] neo-lochdach a bhi agam thaobh Dhé, agus a thaobh dhaoine.

17 A nis an déigh mòrain bhliadhna, thainig mi a thoirt déirce chum mo chinnich, agus thabhartas.

18 Air a so fhuair Iudhaich àraidh o'n Asia mi air mo ghlanadh san teampull, gun sluagh, gun bhuaireas.

19 Muinntir d'am bu chòir bhi'n so a'd' làthairse, agus m'agairt, nam

[h] *cainnt-fhear.* [i] *brosnachadh.* [k] *coimh-fhios, coinsiens.*

biodh ni sam bith aca a'm' aghaidh.

20 No abradh iad so féin, ma fhuair iad eucoir[m] sam bith annamsa, 'nuair a sheas mi an làthair na comhairle.

21 Mur h-ann a mhàin air son an aon fhocail so, a ghlaodh mi a'm' sheasamh 'nam measg, Gur ann air son aiseirigh nam marbh, a ta-mi air mo thoirt gu breitheanas leibhse an diugh.

22 Agus an uair a chuala Felics na nithe so, air dha eòlas ni bu diongmhalta bhi aige air an t-slighe sin, chuir e air dàil iad, ag ràdh, 'Nuair a thig Lisias an t-àrd cheannard a nuas, làn-rannsaichidh mi[n] bhur cùis.

23 Agus dh'àithn e do cheannard-ceud Pòl a ghleidheadh, agus e bhi fuasgailt' aige, agus gun neach d'a mhuinntir féin a bhacadh o fhritheal-adh dha, no teachd d'a ionnsuidh.

24 Agus an déigh làithean àraidh, 'nuair a thainig Felics maille r'a mhnaoi Drusilla, a bha 'na Ban-Iudhach, chuir e fios air Pòl, agus dh'éisd e ris mu thimchioll a' chreidimh[o] ann an Criosd.

25 Agus air dhasan bhi a' reusonachadh mu fhìreantachd, stuaim[p], agus breitheanas ri teachd, ghabh Felics eagal mòr, agus fhreagair e, Imich romhad an tràth-sa; 'nuair a bhios ùine agam, cuiridh mi fios ort.

26 Bha dùil aige mar an ceudna gu rachadh airgiod a thoirt da le Pòl, chum gu'm fuasgladh se e: uime sin chuir e fios air ni bu trice, agus labhair e ris.

27 Ach air do dhà bhliadhna bhi air an coimhlionadh, thainig Porcius Festus an àit Fhelics: agus air do Fhelics bhi toileach comain a chur air na h-Iudhachaibh[r], dh'fhàg e Pòl ceangailte.

CAIB. XXV.

2 *Tha na h-Iudhaich a' casaid Phòil an làthair Fhestuis: 8 Tha e freagairt air a shon féin, 11 agus a' togail a chùis gu Ceasar, &c.*

ANIS 'nuair a thainig Festus do'n mhòr-roinn[s], an ceann tri làithean chaidh e suas o Chesarea gu Hierusalem.

2 Agus nochd an t-àrd shagart agus maithean nan Iudhach iad féin 'na làthair an agnaidh Phòil, agus chuir iad impidh air.

3 Ag iarraidh fàbhoir 'na aghaidh, gu'n cuireadh e fios air gu Hierusalem, *agus iad* a' dheanamh feall-fholach[t] chum esan a mharbhadh air an t-slighe.

4 Ach fhreagair Festus, Gu'm bu chòir Pòl a ghleidheadh ann an Cesarea, agus gu'n rachadh e féin *an sin* gu h-aithghearr.

5 Uime sin, ars' esan, rachadh iadsan 'nar measg a dh'fheudas, sìos maille riumsa, agus ma ta coire air bith san duine so, cuireadh iad sin as a leth.

6 Agus air dha fantuinn 'nam measg os cionn deich làithean, chaidh e sìos do Chesarea, agus air an là màireach shuidh e air a' chaithir-bhreitheanais, agus dh'àithn e Pòl a thoirt a làthair.

7 Agus an uair a thainig esan, sheas na h-Iudhaich a thainig a nuas o Hierusalem m'a thimchioll, a' cur choireanna lìonmhora agus mòra a leth Phòil, nach b'urrainn iad a dhearbhadh:

8 Nuair a fhreagair esan 'ga shaoradh féin, Cha d'rinn mi cionta sam bith an aghaidh lagha nan Iudhach, no'n aghaidh an teampuill, no'n aghaidh Cheasair.

9 Ach air bhi do Fhestus togarrach air toileachas-inntinn a thoirt do na h-Iudhachaibh, fhreagair e Pòl, agus thubhairt e, An àill leatsa dol suas gu Hierusalem, agus an sin dol fa bhreitheanas thabhi nan nithe sin ann mo làthairse?

10 An sin thubhairt Pòl, Tha mi m' sheasamh aig caithir-breitheanais Cheasair, far an còir breth a thoirt orm: air na h-Iudhachaibh cha d'rinn mi eucoir sam bith, mar is maith a ta fios agadsa.

[m] *mi-ghnìomh.* [n] *bithidh làn fhios agam air.* [o] *na creidimh.*
[p] *measarrachd.* [r] *gnìomh taitneach a dheanamh do na h-Iudhachaibh.* [s] *earruinn; province.* Sasg. [t] *plaid-luidhe.*

11 Oir ma tha mi deanamh eu-coir, agus ma rinn mi ni sam bith a thoill bàs, cha 'n'eil mi diultadh bàs fhulang; ach mur 'eil ni sam bith dhiubh sin *fìor* a tha iad so a' cur as mo leth, cha'n fheud duine sam bith mo thoirt thairis doibh [u]. Tha mi togail mo chùis gu Ceasar.

12 An sin an déigh do Fhestus labhairt ris a' chomhairle, fhreagair e, An do thog thu do chùis gu Ceasar? Gu Ceasar théid thu.

13 Air dol do làithibh àraidh seachad, thainig Agripa an righ agus Bernice gu Cesarea a chur fàilte air Festus.

14 Agus air dhoibh mòran laithean a chaitheadh an sin, chuir Festus cùis Phòil an céill do'n righ, ag ràdh, Dh'fhàgadh duine àraidh le Felics 'na phriosunach.

15 Air-san, an uair a bha mise ann an Ierusalem, rinn na h-àrd shagairt agus seanairean nan Iudhach casaid *rium*, ag iarraidh binne [a] 'na aghaidh.

16 D'an d'thug mise am freagradh so, Cha'n e gnàth nan Ròmhanach duine sam bith a thoirt thairis chum millidh [b], gus am bi aig an neach a tha *air agairt*, a luchd-casaid aghaidh ri h-aghaidh, agus gu'm bi cothrom aige air e féin a shaoradh o'n choire a chuireadh as a leth.

17 Uime sin an uair a thainig iad araon an so, gun mhoille sam bith shuidh mi air an là màireach sa' chaithir-bhreitheanais, agus dh'àithn mi'n duine a thoirt a làthair.

18 Agus an uair a sheas a luchd tagraidh m'a thimchioll, cha do chuir iad coire air bith as a leth do na nithibh a shaoil mise:

19 Ach thug iad ceisdean àraidh 'na aghaidh mu thimchioll an creidimh [c] féin, agus mu thimchioll Iosa àraidh, a fhuair bàs, neach a thubhairt Pòl a bhi beo.

20 Agus a chionn gu robh mise amharusach mu thimchioll an leithid sin do cheisdibh, dh'fheòraich mi dheth [d] am b'àill leis dol suas gu Hierusalem, agus an sin dol fa bhreitheanas mu na nithibh so.

21 Ach an uair a dh'iarr Pòl a choimhead gus am fiosraichteadh a chùis-san le Augustus, dh'àithn mi e bhi air a ghleidheadh gus an cuirinn gu Ceasar e.

22 An sin thubhairt Agripa ri Festus, B'àill leamsa féin an duine so chluinntinn. Am màireach, a deir esan, cluinnidh tu e.

23 Uime sin air an là màireach 'nuair a thainig Agripa, agus Bernice, le mòr ghreadhnachas, agus a chaidh iad a steach 'maille ris na h-àrd cheannardaibh agus prìomh-dhaoinibh na cathrach do'n ionad éisdeachd, air do Fhestus àithne a thoirt, thugadh Pòl a làthair.

24 Agus thubhairt Festus, A righ Agripa, agus sibhse a dhaoine uile a ta làthair an so maille ruinn, tha sibh a' faicinn an duine so, mu'n do chuir sluagh nan Iudhach uile impidh ormsa, araon ann an Ierusalem, agus an so, a' glaodhaich nach bu chòir e bhi ni b'fhaide beo.

25 Ach an uair a thuig mise nach d'rinn e ni sam bith a thoill bàs, agus a chionn gu'n do thog e féin a chùis gu Augustus, shonraich mi a chur *d'a ionnsuidh*.

26 Mu nach 'eil ni sam bith cinnteach agam r'a sgrìobhadh chum mo Thighearna. Uime sin thug mi mach e d'ar ionnsuidhse, agus gu h-àraidh a'd' ionnsuidhse, a righ Agripa, chum an déigh rannsachadh a dheanamh, gu'm biodh agam ni eigin r'a scrìobhadh.

27 Oir is mi-reusonta a'm' bheachdsa priosunach a chur *uam*, agus gun na cùisean a ta 'na aghaidh ainmeachadh.

CAIB. XXVI.

2 Tha Pòl an làthair Agripa, a' cur an céill a chaithe'-beatha o c òige 12 agus cionnus a dh'iompaicheadh e gu moirbhuileach, agus a ghairmeadh e gu bhi 'na abstol. 24 Tha Festus a' cur as a leth gu robh e air a' chuthach, agus esan a' freagairt gu séimh, &c.

AN sin thubhairt Agripa ri Pòl, Tha cead agad labhairt air

[u] *cha'n fheud duine sam bith an toileachadh le mise a thoirt thairis daibh.* [a] *ditidh.* [b] *bàis,* [c] *an saobh-chreidimh.* [d] *thubhairt mi ris.*

do shon féin. An sin shìn Pòl a mach a làmh, agus fhreagair e air a shon féin,

2 Ataim 'gam mheas féin sona, a righ Agripa, do bhrigh gu bheil mi gu freagairt air mo shon féin an diugh a'd' làthairsa, thaobh nan nithe sin uile a ta air an cur as mo leth leis na h-Iudhachaibh:

3 Gu h-àraidh, a chionn gu bheil thusa eòlach[c] air gach gnàth agus ceisd a tha am measg nan Iudhach: uime sin guidheam ort, éisd rium gu foighidneach.

4 Tha mo bheathasa o m' òige, a chaitheadh air tùs am measg mo chinnich féin ann an Ierusalem, aithnichte do na h-Iudhachaibh uile,

5 D'am b'aithne mi o thùs, (nam b'aill leo fianuis a dheanamh) gu'n do chaith mi mo bheatha a'm' Phairiseach, a réir an luchd comh-bharail a's teinne d'ar creidimhne.

6 Agus a nis tha mi m' sheasamh fa bhreitheanas air son dòchais a' gheallaidh a rinneadh le Dia d'ar n-aithrichibh:

7 Chum am bheil dùil aig ar dà thréibh dheugne teachd, a' deanamh seirbhis do Dhia a là agus a dh'oidhche do ghnàth; agus air son an dòchais so tha mise, a righ Agripa, air m'agairt leis na h-Iudhachaibh.

8 C'ar son a mheasar[f] leibhse mar ni do-chreidsinn, gu'n dùisgeadh Dia na mairbh?

9 Gu deimhin mheas mise annam féin, gu'm bu chòir dhomh mòran nithe a dheanamh an aghaidh ainme Iosa o Nasaret.

10 Ni mar an ceudna a rinn mi ann an Ierusalem: agus air faotainn ùghdarrais o na h-àrd shagartaibh, dhruid mi mòran do na naoimh ann priosunaibh; agus an uair a chuireadh gu bàs iad, thug mi mo ghuth 'nan aghaidh.

11 Agus a 'deanamh peanais orra gu minic anns gach sionagog, choimhéignich mi *iad* gu toibheum[g] a labhairt; agus air dhomh bhi gu ro mhòr air boile 'nan aghaidh, rinn mi geur-leanmhuinn *orra*, eadhon gu bailtibh coigreach.

12 Air a so 'nuair a bha mi dol gu Damascus, le cumhachd agus barantas[h] o na h-àrd shagartaibh;

13 Mu mheadhon-là, O a righ, chunnaic mi air an t-slighe solus o nèamh, bu shoilleire na solus na gréine, a' dealrachadh mu'n cuairt orm, agus orrasan a bha 'g imeachd maille rium.

14 Agus air tuiteam dhuinn uile air an talamh, chuala mi guth a' labhairt rium, agus ag ràdh anns a' chainnt Eabhruidhich, A Shauil, a Shauil, c'ar son a ta thu ga m' gheur-leanmhuinn? *Is* cruaidh dhuitse bhi breabadh an aghaidh nan dealg.

15 Agus thubhairt mise, Cò thu, a Thighearn? Agus thubhairt esan, Is mise Iosa a tha thusa a' geurleanmhuinn.

16 Ach éirich, agus seas air do chosaibh; oir dh'fhoillsich mi mi féin duit chum na crìche so, gu'n orduichinn thu a'd' mhinisteir agus a'd' fhianuis araon air na nithibh sin a chunnaic thu, agus na nithibh anns am foillsich mi mi féin duit;

17 Ga d' shaoradh o'n t-slaugh, agus o na Cinneachaibh, chum am bheil mi nis ga d' chur,

18 A dh'fhosgladh an sùl, chum gu tionndaidh iad[i] o dhorchadas gu solus, agus o chumhachd Shatain gu Dia, chum gu faigh iad maitheanas peacaidh, agus oighreachd maille ris a' mhuinntir sin a ta air an naomhachadh tre'n chreidimh a ta annamsa.

19 Uime sin, a righ Agripa, cha robh mi eas-ùmhal do'n taisbean nèamhaidh:

20 Ach shearmonaich mi air tùs dhoibhsan ann an Damascus, agus ann an Ierusalem, agus air feadh tìre Iudea uile, agus *an sin* do na Cinneachaibh, iad a dheanamh aithreachais agus pilltinn ri Dia, a' deanamh oibre iomchuidh an aithreachais[l].

21 Air son nan nithe so ghlac na

[c] [gur aithne dhomh] gu bheil thusa eòlach. [f] C'ar son? am measar. [g] gu beum-labhairt do ainm Iosa. [h] ùghdarras, comas. [i] agus gu'n tionndadh. [l] cubhaidh do aithreachas, airidh air aithreachas.

h-Iudhaich mi san teampull, agus b'àill leo mo mharbhadh [m].

22 Uime sin air dhomh còmhnadh fhaotainn o Dhia, bhuanaich mi gus an là'n diugh, a' deanamh fianuis do'n bheag agus do'n mhòr, gun ni air bith 'a labhairt ach na nithe sin a thubhairt na fàidhean agus Maois a bha gu teachd:

23 Gu robh Criosd gu fulang, *agus* gu robh e gu éirigh an ceud neach o na marbhaibh, agus gu'm foillsicheadh e solus do'n phobull, agus do na Cinneachaibh.

24 Agus air dha bhi labhairt nan nithe so air a shon féin, thubhairt Festus le guth àrd, Tha thu air mhi-chéill [n] a Phòil: tha mòr fhòghlum ga d' chur air boile.

25 Ach thubhairt esan, Cha 'n'eil mi air boile, Fhestuis ro oirdheirc; ach labhram briathra na fìrinn agus na céille.

26 Oir a ta fhios aig an righ roimh am bheil mise labhairt gu saor, air na nithibh so: oir tha cinnt agam nach 'eil a h-aon do na nithibh so an ain-fhios da; oir cha'n ann an cùil a rinneadh so.

27 Am bheil thu creidsinn nam fàidh, a righ Agripa? tha fhios agam gu bheil thu 'g *an* creidsinn.

28 An sin thubhairt Agripa ri Pòl, Is beag nach 'eil thu 'gam aomadh gu bhi'm Chriosduidh.

29 Agus thubhairt Pòl, B'e mo ghuidhe air Dia, gu'm biodh cha'n e mhàin thusa, ach mar an ceudna iadsan uile a tha 'g éisdeachd rium an diugh, ann am beag agus am mòr, mar a ta mise, saor o na geimhlibh so.

30 Agus air dha na briathra so a labhairt, dh'éirich an righ, agus an t-uachdaran, agus Bernice, agus an dream a shuidh maille riu.

31 Agus air dol a leth-taobh dhoibh, labhair iad r'a chéile, ag ràdh, Cha 'n'eil an duine so a' deanamh ni air bith toillteannach air bàs, no air geimhlibh.

32 An sin thubhairt Agripa ri Festus, Dh'fheudta an duine so a leigeadh as. mur bhiodh gu'n do thog e a chùis gu Ceasar.

CAIB. XXVII.

1 *Tha Pòl a' gabhail luinge do'n*
Ròimh, 19 *ag innseadh roimh-*
làimh cunnairt an turuis, ach cha
'n'eilear a' toirt creideis da. 14
Tha iad air an séideadh chuig
agus uaith le stoirm, agus a' fulang
long-bhrisidh; 44 *gidheadh tha iad*
a' teachd air tìr gu tèaruinte.

AGUS an uair a thugadh breth sinne a sheòladh do'n Eadailt, thug iad Pòl thairis maille ri priosunaich àraidh eile, do cheannard-ceud d'am b'ainm Iulius, do chuideachd Augustuis.

2 Agus air dhuinn dol air luing le Adramitium, thog sinn ar seòil, a' cur romhainn seòladh seachad air crìochaibh na h-Asia, air do Aristarchus Macedonach o Thesalonica bhi maille ruinn.

3 Agus air an *là* màireach, thainig sinn gu Sidon. Agus air do Iulius buntainn gu suairce [o] ri Pòl, leig e dha dol a dh'ionnsuidh a chàirde chum comhfhurtachd fhaotainn.

4 Agus air dhuinn stiùradh as sin, sheòl sinn fuidh Chiprus, a chionn gu robh na gaotha [p] 'nar aghaidh.

5 Agus air seòladh dhuinn tre'n fhairge ta làimh ri Cilicia agus Pamphilia, thainig sinn gu Mira *cathair* [r] do Licia.

6 Agus fhuair an ceannard-ceud long an sin o Aleesandria, a bha seòladh do'n Eadailt, agus chuir e sinn a steach innte.

7 Agus an uair a sheòl sinn gu mall rè mòrain do làithibh, agus a thainig sinn air éigin fa chomhair Chniduis, a chionn nach do leig a' ghaoth leinn, sheòl sinn fuidh Chrete, fa chomhair Shalmone:

8 Agus air dhuinn seòladh air éigin seachad air, thainig sinn gu ionad àraidh d'an goirear, Na calaidh sgiamhach, am fagus d'an robh baile Lasea.

9 Agus air do mhòran ùine dol seachad, 'nuair a bha seòladaireachd

[m] *làmh a chur annam.* [n] *air a' chuthach.* [o] *caoimhneil.* [p] *an soirbheas.* [r] *baile.*

a nis cunnartach, a chionn gu'n deachaidh an trosgadh [s] cheana seachad, chomhairlich Pòl *iad*,

10 Ag ràdh riu, Fheara, tha mi faicinn gu'm bi an t-seòladaireachd so le dochann agus call mòr, cha'n e mhàin do'n luchd agus do'n luing, ach d'ar n-anamaibh féin.

11 Gidheadh, is mò chreid an ceannard-ceud an seòladair agus maighstir na luinge, na na nithe a labhradh le Pòl.

12 Agus a chionn gu'n robh an cala neo-iomchuidh gus an geamhradh a chaitheadh ann, b'i comhairle na cuid bu mhò seòladh as sin mar an ceudna, agus nam feudadh iad air chor sam bith teachd gu Phenice, cala do Chrete a ta 'g amharc chum an iar-dheas, agus an iar-thuath, agus fantuinn rè a' gheamhraidh *an sin*.

13 Agus an uair a shéid a' ghaoth a deas gu ciuin, shaoil iad gu d'fhuair iad an rùn, agus ag togail an seòl dhoibh, stiuir iad *ri* taobh Chrete.

14 Ach an ceann beagain 'na dhéigh sin, shéid gaoth stoirmeil [t] 'na h-aghaidh [u], d'an goirear Euroclidon.

15 Agus air bhi do'n luing air a fuadachadh, agus gun chomas di dol an aghaidh na gaoithe, leig sinn ruith dh'i.

16 Agus air dhuinn ruith a stigh fuidh eilean beag àraidh d'am b'ainm Clauda, is ann le éigin a ràinig sinn air a' bhàta:

17 Agus air dhoibh a thogail suas, ghnàthaich iad gach gleus còmhnaidh, a' criosadh na luinge fuipe; agus air dhoibh bhi fa eagal gu'n tuiteadh iad sa' bheo-ghaineamh, leig iad an seòil sìos, agus mar sin dh'iomaineadh iad.

18 Agus air dhuinne bhi gu ro mhòr air ar luasgadh [a] leis an stoirm, air an là 'na dhéigh sin thilg iad a mach *an luchd*;

19 Agus air an treas *la* thilg sinn le'r làmhaibh féin a mach acfuinn na luinge.

20 Agus an uair nach robh a' ghrian no na reulta r'am faicinn rè mòrain do làithibh, agus a luidh stoirm nach bu bheag oirnn, thugadh an sin uainn gach uile dhòchas gu teasairgteadh sinn.

21 Ach air dhuinn bhi fada 'nar trosg, an sin air seasamh do Phòl 'nam meadhon, thubhairt e, Fheara, bu chòir dhuibh mo chomhairlese ghabhail, agus gun fhuasgladh o Chrete, agus an dochann agus an call so a sheachnadh.

22 Agus a nis guidheam oirbh, biodh misneach mhaith agaibh: oir cha bhi call anama sam bith 'nar measg, ach *a mhàin* na luinge.

23 Oir air an oidhche nochd sheas làimh riumsa aingeal an Dé sin, d'am buin mi, agus d'an deanam seirbhis,

24 Ag ràdh, A Phòil, na biodh eagal ort; is éigin duit bhi air do thoirt an làthair Cheasair: agus feuch, thiodhlaic [b] Dia dhuit iadsan uile a ta seòladh maille riut.

25 Uime sin, fheara, biodh agaibh deadh mhisneach: oir a ta mi creidsinn Dhé, gu'n tachair ceart mar a labhradh rium.

26 Ach is éigin duinn bhi air ar tilgeadh air eilean àraidh.

27 Agus an uair a bha an ceathramh oidhche deug air teachd, air dhuinne bhi air ar séideadh chuige agus uaith ann an *cuan* Adria, mu mheadhon-oidhche b'i barail nam maraichean gu robh iad am fagus do thìr éigin:

28 Agus air leigeadh na luaidhe sìos doibh, fhuair iad *an doimhne* fichead aitheamh: agus an uair a chaidh iad beagan air an aghaidh, leig iad sìos an luaidh a ris, agus fhuair iad i *'na* cùig aitheamh deug.

29 An sin air bhi dhoibh fa eagal gu'm buaileadh iad air ionadaibh garbha, thilg iad ceithir acraichean a deireadh na luingè, agus ghuidh iad an là a theachd.

30 Agus an uair a bha na maraichean air tì [d] teicheadh a mach as an luing, agus a leig iad sìos am bàta do'n fhairge, a' gabhail orra bhi tilgeadh a mach acraichean a toiseach na luinge,

[s] *trasgadh.* [t] *anrathach.* [u] *'nar n-aghaidh.* [a] *séideadh o thonn gu tonn.* [b] *dheònuich.* [c] *grunnachadh dhoibh.* [d] *fonn.*

31 Thubhairt Pòl ris a' cheannard-ceud, agus ris na saighdearaibh, Mur fan iad sin san luing, cha 'n'eil e'n comas duibh bhi air bhur teasairg-inn.

32 An sinn ghearr na saighdearan cuird a' bhàtaidh, agus leig iad leis tuiteam sìos.

33 Agus am feadh a bha an là a' teachd, thug Pòl a chomhairl' orra uile biadh a ghabhail, ag ràdh, Is e so an ceathramh là deug dhuibh a' feith-eamh, agus a' fantuinn 'nar trosg, gun bhiadh sam bith a ghabhail

34 Uime sin guidheam oirbh biadh a ghabhail: oir a ta so chum bhur slàinte: oir cha chaillear[c] foiltean a ceann a h-aon agaibh.

35 Agus air dha na nithe so labh-airt, agus aran a ghlacadh, thug e buidheachas do Dhia 'nan làthair uile, agus air dha a bhriseadh, thòisich e ri itheadh.

36 An sin ghlac iad uile misneach chuca, agus ghabh iadsan biadh mar an ceudna.

37 Agus bha sinn a dh'anamaibh uile anns an luing, dà cheud agus sea deug agus tri fichead.

38 Agus an uair a shàsuicheadh iad le biadh, dh'eutromaich iad an long, agus thilg iad a mach an cruineachd san fhairge.

39 Agus an uair a bha'n là air teachd, cha d'aithnich iad am fearann: ach thug iad an aire do chamus[f] àr-aidh aig an robh tràigh, anns an robh mhiann orra, nam b'urrainn iad, an long a chur gu tìr.

40 Agus air togail nan acraichean doibh, leig iad ris an fhairge *i*, agus an uair a dh'fhuasgail iad ceang-laichean na stiùire, agus a thog iad am prìomh sheòl[g] ris a' ghaoith, sheòl iad chum na tràighe.

41 Agus air tuiteam dhoibh ann an ionad *àraidh* far an do choinnich dà fhairge a chéile, bhuail iad an long air grund; agus air sàthadh d'a toiseach sa' ghrund, dh'fhan e gun charachadh, ach bhriseadh a deireadh le ainneart nan tonn.

42 Agus b'i comhairle nan saighd-ear gu marbhadh iad na priosunaich, air eagal gu'n snàmhadh neach sam bith dhiubh a mach, agus gu rachadh iad as.

43 Ach air bhi do'n cheannard-ceud toileach Pòl a theasairginn, chum e air ais o'n comhairle iad, agus dh'àithn e dhoibhsan d'am b'aithne snàmh *iad féin* a thilgeadh sa' chuan air tùs, agus dol a mach air tìr:

44 Agus do chàch *dh'àithn* e, cuid diubh *dhol* air clàraibh, agus cuid eile air *mìribh briste* do'n luing: agus mar sin tharladh gu'n deachaidh iad uile tèaruinte gu tìr.

CAIB. XXVIII.

1 An déigh an long-bhrisidh thug an sluagh borb aoidheachd gu suairce do Phòl. 5 Cha do chiùrradh a làmh le nathair nimhe a lean rithe. 8 Tha e a' slànuchadh mòrain eucaile san eilean. 11 Tha iad a' gabhail an turuis chum na Ròimhe, &c.

AGUS an uair a thearnadh iad, thuig iad an sin gu'm b'e Melita ainm an eilein.

2 Agus nochd an sluagh borb caoimhneas nach bu bheag dhuinn: oir air fadadh teine dhoibh, ghabh iad ruinn uile, air son an uisge a bha ann, agus air son an fhuachd.

3 Agus air do Phòl dorlach bhior-an a thional, agus an cur air teine, thainig nathair nimhe mach as an teas, agus shàs i 'na làimh.

4 Agus an uair a chunnaic an sluagh borb a' bhéisd an crochadh r'a làimh, thubhairt iad r'a chéile, Gu cinnteach is mortair an duine so, d'a nach fuiling dioghaltas bhi beo, ge do theasairgeadh o'n fhairge e.

5 Agus air dhasan a' bhéisd a chrathadh dheth anns an teine, cha d'fhulaing e dochann sam bith.

6 Ach bha iadsan a' feitheamh c'uin a dh'atadh e, no a thuiteadh e sìos marbh gu h-obann: ach an uair a dh'fheith iad ùine fhada, agus nach fac iad dochann sam bith a' teachd air, air caochladh an inntinn dhoibh, thubhairt iad gur Dia e.

7 Agus bha mu thimchioll an àite sin fearann aig prìomh dhuine an eilein, d'am b'ainm Publius, a ghabh

[c] tuit. [f] làib, gheodha. [g] an seòl mòr.

muinne agus a thug rè thri làithean
aoidheachd dhuinn gu càirdeil.
8 Agus tharladh gu robh athair
Phubliuis 'na luidhe gu tinn le fiabh-
rus[h], agus gearrthach fola: air do
Phòl dol a steach d'a ionnsuidh, rinn
e ùrnuigh, agus air dha a làmhan a
chur air, leighis se e.
9 Agus an uair a rinneadh so,
thainig mar an ceudna muinntir eile
a bha euslan san eilean d'a ionnsuidh,
agus leighiseadh iad:
10 Muinntir mar an ceudna a thug
mòr urram dhuinn; agus ag falbh
dhuinn, chuir iad na nithe sin leinn a
bha feumail *duinn*.
11 Agus an déigh thri mìosa sheòl
sinn ann an luing o Alecsandria, a
chaith an geamhradh san eilean, d'am
bu shuaitheantas Castor agus Pollucs.
12 Agus air teachd tìr dhuinn aig
Siracuse, dh'fhan sinn *an sin* tri
làithean.
13 Agus air seòladh dhuinn tim-
chioll as sin, thainig sinn gu Rhe-
gium: agus an ceann latha 'na
dhéigh sin shéid a' ghaoth a deas,
agus thainig sinn an t-ath là gu Pu-
teoli:
14 Air dhuinn bràithrean fhaot-
ainn an sin, chuireadh impidh oirnn
leo fantuinn seachd làithean maille
riu: agus mar sin thriall sinn chum
na Ròimhe.
15 Agus as sin, air faotainn ar
sgéil do na bràithribh, thainig iad
'nar coinneamh gu Appii-forum, agus
na Tri tighibh-òsda; agus an uair a
chunnaic Pòl iad, thug e buidheachas
do Dhia, agus ghabh e misneach.
16 Agus an uair a thainig sinn
do'n Ròimh, thug an ceannard-ceud
thairis na priosunaich do cheannard
an fhreiceadain: ach thugadh comas
do Phòl a bhi leis féin[i], maille ri
aon saighdear a bha 'ga ghleidheadh.
17 Agus tharladh, an déigh thri
làithean, gu'n do ghairm Pòl maith-
ean[l] nan Iudhach an ceann a chéile.
Agus an uair a chruinnicheadh iad,
thubhairt e riu, Fheara *agus* a
bhràithre, ge nach d'rinn mise ni sam
bith an aghaidh a' phobuill no
ghnàthanna nan aithriche, thugadh
thairis mi a'm' phriosunach o Hieru-
salem do làmhaibh nan Romhanach.
18 Muinntir an déigh dhoibh mo
cheasnachadh, leis am bu mhiann mo
leigeadh as, a chionn nach robh coire
bàis sam bith annam.
19 Ach an uair a bha na h-Iudh-
aich a' labhairt an aghaidh *so*, b'éigin
domh mo chùis a thogail gu Ceasar;
cha'n e gu bheil coire sam bith agam
r'a chur a leth mo chinnich.
20 Air an aobhar so uime sin chuir
mi fios oirbhse, chum gu faicinn *sibh*,
agus gu'n labhrainn *ribh*: oir is ann
air son dòchais Israeil a ta mi ceang-
ailte leis an t-slabhraidh so.
21 Agus thubhairt iadsan ris, Cha
d'fhuair sinne litriche sam bith a Iu-
dea mu d' thimchioll, cha mhò a
dh'fhoillsich no dh'innis a h-aon do
na bràithribh a thainig, olc sam bith
umad.
22 Ach bu mhaith leinn a chluinn-
tinn uaitse ciod i do bharail: oir mu
thimchioll na gnè chreidimh so, tha
fhios againn gu'n labhrar sgach àit
'na h-aghaidh.
23 Agus air suidheachadh là ris,
thainig mòran d'a ionnsuidh chum a
cheithreanna; d'an do mhìnich e
rioghachd Dhé, a' deanamh fianuis
uimpe, agus a' cur impidh orra thaobh
nan nithe a bhuineas do Iosa, araon
a lagh Mhaois, agus *as* na fàidhibh, o
mhochthrath gu feasgar.
24 Agus chreid cuid na nithe a
labhradh, agus cha do chreid cuid eile
dhiubh.
25 Agus air dhoibh bhi an aghaidh
a chéile, sgaoil iad, air do Phòl aon
fhocal a ràdh, Is maith a labhair an
Spiorad naomh tre'n fhàidh Esaias,
r'ar n-aithrichibh,
26 Ag ràdh, Imich chum a' phob-
uill so, agus abair, Le cluinntinn
cluinnidh sibh, agus cha tuig sibh;
agus le faicinn chi sibh, agus cha'n
aithnich sibh[m].
27 Oir a ta cridhe a' phobuill so
air fàs reamhar, agus tha iad a'
cluinntinn gu trom[n] le'n cluasaibh,
agus chaog[o] iad an sùilean; air eag-

h teo'sich. i far am bu toil leis. l uaislean, prìomh dhaoine.
m cha léir dhuibh. n mall. o dhruid.

al gu faiceadh iad le'n sùilibh, agus gu'n cluinneadh iad le'n cluasaibh, agus gu'n tuigeadh iad le'n cridhe, agus gu'm pilleadh iad, agus gu'n slànuichinns' iad.

28 Uime sin biodh fhios agaibhse, gu'n do chuireadh slàinte Dhé chum nan Cinneach, agus éisdidh iadsan.

29 Agus an uair thubhairt e na briathra so, dh'imich na h-Iudhaich rompa, agus bha mòr reusonachadh[p] aca eatorra féin.

30 Agus dh'fhan Pòl dà bhliadhna iomlan 'na thigh-màil[r] féin, agus ghabh e ris na h-uile dhaoinibh a thainig d'a ionnsuidh,

31 A' searmonachadh rioghachd Dhé, agus a' teagasg nan nithe a bhuineas do'n Tighearn Iosa Criosd, leis an uile dhànachd, gun toirmeasg.

LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN ROMHANACH.

CAIB. I.

1 Tha Pòl a'moladh a dhreuchd do na
Romhanachaibh, agus ag innseadh a
thograidh gu teachd d'an ionnsuidh.
16 Ciod e soisgeul Chriosd, agus an
fhìreantachd a ta e a' foillseachadh.
18 Tha fearg aig Dia ris gach uile
ghnè peacaidh. 21 Ciod iad peaç-
anna nan Cinneach.

POL seirbhiseach Iosa Criosd, a ghairmeadh 'na abstol a chuireadh air leth[s] chum Soisgeil Dè,

2 (A roimh-gheall e le fhàidhibh féin anns na sgriobtuiribh naomha.)

3 Mu thimchioll a Mhic Iosa Criosd ar Tighearna, a rinneadh do shiol Dhaibhidh, a réir na feòla.

4 A dhearbhadh[t] *bhi* 'na Mhac do Dhia le cumhachd, a réir Spioraid na naomhachd, trid aiseirigh o na marbhaibh :

5 Tre an d'fhuair sinne gràs agus abstolachd chum umhlachd a' chreidimh am measg nan uile chinneach air sgàth ainmesan :

6 Am measg am bheil sibhse mar an ceudna air bhur gairm le Iosa Criosd.

7 Chum nan uile a ta san Ròimh, air an gràdhachadh le Dia, air an gairm 'nan naoimh: Gràs *gu robh* dhuibhse, agus siothchaint o Dhia ar n-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Criosd.

8 Air tùs, tha mi toirt buidheachais do m' Dhia trid Iosa Criosd, air bhur sonsa uile, do bhrigh gu bheil bhur creidimh iomraideach air feadh an domhain uile.

9 Oir is e Dia m'fhianuis, d'am bheil mi a' deanamh seirbhis le m' spiorad ann an soisgeul a Mhic, gu bheil mi gun sgur a' deanamh iomraidh oirbh,

10 A ghnàth a' guidhe ann am ùrnuighibh (nam feudainn a nis fadheoidh air aon chor le toil Dé turus soirbheasach fhaotainn) ri teachd d'ar ionnsuidhse.

11 Oir a ta deidh[u] agam air sibhse fhaicinn, ionnas gu pàirtich mi tiodhlacadh àraidh spioradail ribh, chum bhur neartachadh ;

12 Sin ri ràdh, chum gu faigh mi comhfhurtachd annaibhse[a], trid chreidimh a chéile, bhur creidimhse, agus mo chreidimhse.

13 Agus cha'n àill leam, a bhràithre, e bhi'n ain-fhios duibhse gu'n do chuir mi romham gu minic teachd d'ar n-ionnsuidh, (ach bhacadh mi gus a so) chum gu faighinn toradh éigin 'nar measgsa fòs, mar am measg nan Cinneach eile.

[p] *dheasboireachd.* [r] *réidh.* [s] *sgaradh.* [t] *dh'orduicheadh.* [u] *togradh.*
[a] *maraon ribhse.*

14 Oir a ta mi fuidh fhiachaibh
faraon do na Greugachaibh, agus do
na daoinibh borba, araon dhoibhsan a
ta glic, agus dhoibhsan a ta neo-ghlic.
15 Uime sin, mheud 's a ta 'n
comas domh, tha mi ullamh chum an
soisgeul a shearmonachadh dhuibhse
mar an ceudna a ta san Ròimh.
16 Oir cha nàr leamsa soisgeul
Chriosd: oir is e cumhachd Dhé e
chum slàinte, do gach neach a chreid-
eas, do'n Iudhach air tùs, agus mar
an ceudna do'n Ghreugach.
17 Oir a ta fìreantachd Dhé air a'
foillseachadh ann tre chreidimh gu
creidimh: mar a ta e sgrìobhta, Bith-
idh am fìrean beo tre chreidimh.
18 Oir a ta fearg Dhé air a foill-
seachadh o nèamh an aghaidh gach
uile mhi-dhiadhuidheachd, agus eu-
coir dhaoine, a tha bacadh[b] na fìrinn
ann an neo-fhìreantachd.
19 Do bhrigh, gu bheil an ni air
am feudar fios fhaotainn a thaobh
Dhé follaiseach annta-san[c]; oir rinn
Dia follaiseach dhoibh e.
20 Oir *riamh* o chruthachadh an
t-saoghail a ta a nithe-san nach feud-
ar fhaicinn, *cadhon* a chumhachd
siorruidh agus a Dhiadhachd, air am
faicinn gu soilleir, air dhoibh bhi so-
thuigsinn o na nithibh a rinneadh;
chum gu biodh[d] iad gun leithsgeul
aca:
21 Do bhrigh 'nuair a b'aithne
dhoibh Dia, nach d'thug iad glòir
dha mar Dhia, agus nach robh iad
taingeil, ach gu'n d'fhàs iad diomh-
ain 'nan reusonachadh féin, agus gu'n
do dhorchaicheadh an cridhe amaid-
each.
22 Ag ràdh gur daoine glice iad
féin, rinneadh amadain diubh:
23 Agus chaochail[e] iad glòir an
Dé neo-thruaillidh gu dealbh a rinn-
eadh cosmhuil ri duine truaillidh,
agus eunlaith, agus ainmhidhibh
ceithir-chosach, agus bhéisdibh snàig-
each.
24 Uime sin thug Dia thairis iad
mar an ceudna, tre anamhiannaibh
an cridhe féin, chum neo-ghloine, a
thoirt easurraim d'an corpaibh féin
eatorra féin:
25 Muinntir a chaochail fìrinn Dé
gu bréig, agus a thug aoradh agus a
rinn seirbhis do'n chreutair ni's mò na
do'n Chruithear, a ta beannuichte gu
siorruidh. Amen.
26 Air a shon so thug Dia thairis
iad do anamhiannaibh gràineile: oir
chaochail eadhon am mnài an gnàth-
achadh nàdurra chum a' ghnàtha
a ta'n aghaidh nàduir.
27 Agus mar an ceudna na fir, air
tréigsinn doibh gnàthachadh nàdurra
na mnà, loisgeadh iad le'n togradh
d'a chéile, firionnaich ri firionnaich
ag oibreachadh gràineileachd[f] agus
iad a' faotainn dìol-thuarasdail an
sea..arain annta féin, mar bu chòir.
28 Agus amhuil mar nach bu tait-
neach leo eòlas Dé a chumail, thug
Dia thairis iad do inntinn mhi-chéill-
idh, a dheanamh nithe nach robh
iomchuidh:
29 Air dhoibh bhi air an lìonadh
do'n uile eucoir, strìopachas, olc,
sannt, mhi-run: làn do fharmad,
do mhortadh, do chonnsachadh[g], do
cheilg, do dhroch-bheusaibh[h]; nan
luchd cogarsaich,
30 'Nan luchd-anacainnt[i], 'nan
luchd fuath air Dia, 'nan luchd tarc-
uis, uaibhreach, 'nan luchd ràiteach-
ais[l], 'nan luchd cumadh uilc, eas-
ùmhal do phàrantaibh,
31 Ea-céillidh, 'nan luchd-brisidh
coimhcheangail, gun ghràdh nàdurra,
do-réiteachaidh, neo-thruacanta:
32 Muinntir d'an aithne ceartas
Dé (gu bheil iadsan a ni an leithide
sin do nithibh toillteannach air bàs)
gidheadh ni h-e mhàin gu bheil iad
féin 'gan deanamh, ach a ta mar an
ceudna tlachd aca do'n mhuinntir a
ni iad.

CAIB. II.

1 *Iadsan a ta peacachadh, ge do tha
iad a' cronachadh so an daoinibh
eile, cha'n urrainn iad an leithsgeul
féin a ghabhail,* 6 *agus is mòr is
lugha na sin a dh'fheudas iad dol*

[b] *cumail.* [c] *'nam measg.* [d] *ionnas gu bheil.* [e] *dh'atharraich.*
[f] *an 'n sin a ta mi-chiatach.* [g] *chomhstri.* [h] *anamèineachd.*
cascaoineachd. [i] *'Nan luchd cùl-chàineadh.* [l] *bòstail.*

as o cheart bhreitheanas Dé, ma's Iudhaich no Cinnich iad. 14 Cha 'n'eil na Cinnich comasach air dol as, 17 no idir na h-Iudhaich, 25 do nach 'eil feum san timchioll-ghearr-adh, mur coimhid iad an lagh.

UIME sin a ta thu gun leith-sgeul, O a dhuine, cia air bith thu a tha toirt breth: oir an uair a tha thu toirt breth air neach eile, tha thu ga d' dhìteadh féin; oir thusa a ta toirt breth, tha thu deanamh nan nithe sin féin.

2 Ach a ta fios againne gu bheil breitheanas Dé a réir fìrinn, an agh-aidh na muinntir a tha deanamh an leithide sin.

3 Agus an saoil thusa so, O a dhuine, a tha toirt breth orra-san a ni an leithide sin, agus a ta 'gan dean-amh thu féin, gu'n d'théid thu as o bhreitheanas Dé?

4 No'n dean thu tarcuis air saibh-reas a mhaitheis, agus fhoighidin, agus fhad-fhulangais, gun fhios bhi agad gu bheil maitheas Dé ga d' threòrachadh chum aithreachais?

5 Ach a réir do chruais agus do chridhe neo-aithreachail, a ta thu càrn-adh[m] suas feirge dhuit féin fa chomhair là na feirge, agus foillseach-aidh ceart bhreitheanais Dé;

6 A bheir do gach aon a réir a ghnìomhara;

7 Dhoibhsan a ta le buanachadh gu foighidneach ann an deadh obair, ag iarraidh glòire, agus onoir, agus neo-bhàsmhorachd, a' bheatha mhair-eannach:

8 Ach dhoibhsan a ta conspoid-each, agus nach 'eil ùmhal do'n fhìr-inn, ach a ta ùmhal do'n eucoir, diom agus fearg;

9 Amhghar agus teanntachd air gach anam duine a ta deanamh uilc, do'n Iudhach air tùs, agus mar an ceudna do'n Ghreugach.

10 Ach glòir, agus onoir, agus sìth, do gach duine a ni maith, do'n Iudh-ach air tùs, agus do'n Ghreugach mar an ceudna:

11 Oir cha 'n'eil spéis aig Dia do phearsa seach a chéile.

12 Oir a mheud 'sa pheacaich gun an lagh, sgriosar iad gun an lagh; agus a mheud 's a pheacaich fuidh 'n lagh, dìtear iad leis an lagh;

13 (Oir cha'n iad luchd-éisdeachd an lagha *a ta* 'nam fìreanaibh am fianuis Dé, ach bithidh luchd-dean-amh an lagha air am fìreanachadh[n].

14 Oir an uair a ta na Cinnich aig nach 'eil lagh, a thaobh nàduir a' deanamh nan nithe a ta san lagh, air dhoibhsan a bhi gun *lagh* tha iad 'nan lagh dhoibh féin:

15 Muinntir a ta nochdadh obair an lagha scriobhta 'nan cridheach-aibh, air bhi d'an coguis a' deanamh fianuis leo, agus *an* smuaintean eat-orra féin 'gan agairt, no a' gabhail an leithsgeil.)

16 San là anns an tabhair Dia breth air nithibh uaigneach dhaoine, a réir mo shoisgeilse, trìd Iosa Criosd.

17 Feuch, goirear Iudhach dhiot-sa, agus tha thu cur dòigh san lagh, agus a' deanamh uaill a Dia;

18 Agus is aithne dhuit a thoil, agus a ta thu a' dearbhadh nan nithe[o] a's fearr, air dhuit bhi air do theagasg as an lagh,

19 Agus a ta thu dòchasach gur ceann-iuil[p] thu féin do na doillaibh, solus dhoibhsan a ta an dorchadas,

20 Fear-fòghluim do dhaoinibh neo-eagnaidh, fear-teagaisg do lean-abaibh, aig am bheil samhladh an eòlais agus na fìrinn a ta san lagh.

21 Thusa uime sin a ta teagasg neach eile, nach 'eil thu ga d' theag-asg féin? thusa a ta searmonachadh gun ghoid a dheanamh, am bheil thu ri goid?

22 Thusa a deir gun adhaltrannas a dheanamh, am bheil thu deanamh adhaltrannais? thusa le'n gràin iodh-ola[r], am bheil thu ri naomh-ghoid?

23 Thusa a ta deanamh uaill as an lagh, an tabhair thu, le briseadh an lagha, easurram do Dhia?

24 Oir a ta ainm Dhé a' faotainn toibheim d'ar taobhsa am measg nan Cinneach, mar a ta e scrìobhta.

25 Oir a ta tairbhe gu fìrinneach anns an timchioll-ghearradh, ma

[m] *tasgaidh.* [n] *air an saoradh, air an glanadh o chionta.* [o] *'g gabhail tlachd do na nithibh.* [p] *fear-seòlaidh.* [r] *dealbhan.*

ghleidheas tu an lagh: ach ma's fear-brisidh an lagha thu, tha do thimchioll-ghearradh na neo-thimchioll-ghearradh dhuit.

26 Uime sin, ma ghleidheas an neo-thimchioll-ghearradh [s] fìreantachd an lagha, nach measar a neo-thimchioll-ghearradhsan mar thimchioll-ghearradh?

27 Agus nach dìt an neo-thimchioll-ghearradh thaobh nàduir, a ta a' coimhlìonadh an lagha, thusa a tha tre'n litir agus tre'n timchioll-ghearradh a'd' fhear-brisidh an lagha?

28 Oir cha'n Iudhach esan, a tha mar sin o'n leth muigh; agus cha 'n e sin an timchioll-ghearradh, a tha gu follaiseach san fheoil.

29 Ach is Iudhach esan, a tha mar sin san taobh a stigh [t]; agus is e sin an timchioll-ghearradh a tha sa' chridhe, agus san spiorad, cha'n ann san litir, aig am bheil a chliu cha'n ann o dhaoinibh, ach o Dhia.

CAIB. III.

1 *Sochair nan Iudhach; 3 nach do chaill iad: 9 gidheadh a ta an lagh 'gam fàgail shìos mar an ceudna thaobh peacaidh. 20 Uime sin cha 'n'eil seoil air bith air an saoradh tre'n lagh, 28 ach a ta na h-uile air an saoradh trìd creidimh a mhàin, 31 gidheadh cha 'n'eil an lagh air a chur gu neo-brìgh.*

CIOD e uime sin barrachd an Iudhaich? no ciod e tairbhe an timchioll-ghearraidh?

2 Is mòr sin air gach dòigh: air tùs, do bhrigh gur ann riu-san a dh'earbadh briathra [u] Dhé.

3 Oir ciod e sin ge nach do chreid cuid? an dean am mi-chreidimhsan fìrinn Dhé gun éifeachd?

4 Nar leigeadh Dia: ach biodh Dia fìor, agus gach duine 'na bhreugoire; a réir mar a ta e scrìobhta, Chum gu bi thu ceart ann do bhriathraibh, agus gu'n tabhair thu buaidh 'nuair a bheirear breth ort.

5 Ach ma mholas ar n-eucoirne fìreantachd Dhé, ciod a deir sinn? am bheil Dia eucorach a tha deanamh dìoghaltais? (labhram mar dhuine.)

6 Nar leigeadh Dia: no cionnus a bheir Dia breth air an t-saoghal?

7 Oir ma ta fìrinn Dhé tre mo bhréigse air a meudachadh chum a ghlòiresan; c'ar son a ta mise air mo dhìteadh mar pheacach?

8 Agus c'ar son nach dean sinn olc, chum gu'n d'thig maith as? (mar a labhrar gu toibheumach umainne, agus mar a deir cuid gu bheil sinn ag ràdh) *muinntir* a tha an dìteadh a réir ceartais.

9 Ciod uime sin? am bheil barrachd againne? cha 'n'eil air son chor: oir dhearbh sinn roimhe gu bheil araon na h-Iudhaich agus na Cinnich uile fuidh pheacadh;

10 Mar a ta e scrìobhta, Cha 'n'eil ionracan ann, cha 'n'eil fiu a h-aon:

11 Cha 'n'eil neach *ann* a thuigeas, cha 'n'eil neach *ann* a tha 'g iarraidh Dhé.

12 Chlaon iad uile *as an t-slighe*, tha iad uile mi-tharbhach, cha 'n'eil neach a tha deanamh maith, cha 'n'eil fiu a h-aon.

13 Is uaigh fhosgailte an scòrnach; labhair iad cealg le'n teangaibh; tha nimh nan nathracha nimhe fuidh 'm bilibh:

14 Aig am bheil am beul làn do mhallachadh agus do sheirbhe.

15 *Tha* an cosa luath a dhòrtadh fola.

16 *Tha* léir-sgrios agus truaighe 'nan slighibh:

17 Agus slighe na sìth cha b'aithne dhoibh.

18 Cha 'n'eil eagal Dé fa comhair an sùl.

19 A nis tha fhios againn ge b'e nithe 'ta'n lagh a' labhairt, gur ann riu-san a ta fuidh 'n lagh a tha e 'gan labhairt: chum gu druidear gach uile bheul, agus gu'm bi an saoghal uile buailteach do dhìteadh Dhé [a].

20 Uime sin cha bhi feoil air bith air a fìreanachadh [b], 'na fhianuis-san, tre oibribh an lagha: oir *is ann* tre an lagh a ta eòlas peacaidh.

21 Ach a nis tha fìreantachd Dhé

[s] *esan a tha neo-thimchioll-ghearrta.* [t] *san ionad fholaichte.* [u] *oracla.*
[a] *ciontach am fianuis Dé.* [b] *saoradh, glanadh.*

air a foillseachadh as eugmhais an lagha, a' faotainn fianuis o'n lagh agus o na fàidhibh;

22 Eadhon fìreantachd Dhé tre chreidimh Iosa Criosd, do na h-uile, agus air na h-uile a chreideas; oir cha 'n'eil eadar-dhealachadh ann;

23 Oir pheacaich na h-uile, agus tha iad air teachd gearr[c] air glòir Dhé;

24 Air dhoibh bhi air am fìreanachadh gu saor le a ghràs, tre an t-saorsa a ta ann an Iosa Criosd:

25 Neach a shònraich Dia 'na iobairt-réitich, trìd creidimh 'na fhuil, chum fìreantachd fhoillseachadh le maitheanas nam peacadh a chaidh seachad, tre fhad-fhulangas Dé;

26 A dh'fhoillseachadh, *deiream*, fhìreantachdsan san àm a ta làthair; chum gu'm biodh e cothromach, agus gu'm fìreanachaidh e an ti a chreideas ann an Iosa.

27 C'àit uime sin *am bheil* uaill? Dhruideadh a mach i. Ciod e an lagh *leis an do dhruideadh a mach i?* *an e lagh* nan oibre? Ni h-e; ach tre lagh a' chreidimh.

28 Tha sinn uime sin a' meas gu bheil duine air fhìreanachadh tre chreidimh as eugmhais oibre an lagha.

29 An e Dia nan Iudhach a mhàin e? Nach e mar an ceudna Dia nan Cinneach? Gu deimhin nan Cinneach mar an ceudna:

30 Do bhrigh gur aon Dia, a dh'fhìreanaicheas[d] an timchioll-ghearradh o chreidimh, agus an neo-thimchioll-ghearradh tre chreidimh.

31 Am bheil sinn uime sin a' cur an lagha an neo-brigh tre'n chreidimh? Nar leigeadh Dia: ach a ta sinne a' neartachadh[e] an lagha.

CAIB. IV.

1 *Mheasadh creidimh Abrahaim dha mar fhìreantachd,* 10 *mun do thimchioll-ghearradh e.* 13 *Tre chreidimh a mhàin shealbhaich e féin agus a shliochd an gealladh.* 16 *Is e Abraham athair nan uile dhaoine a ta creidsinn.* 24 *Bithidh ar creidimh mar an ceudna air a mheas dhuinn mar fhìreantachd.*

CIOD ma ta a deir sinn a fhuair ar n-athair Abraham a réir na feòla?

2 Oir ma dh'fhìreanaicheadh Abraham le oibribh, tha aobhar uaill aige, ach cha'n ann a thaobh Dhé.

3 Oir ciod a deir an sgriobtuir? Chreid Abraham Dia, agus mheasadh sin da mar fhìreantachd.

4 A nis do'n ti a ni obair, cha'n ann mar ghean-maith[f] a mheasar an tuarasdal, ach mar fhiachaibh.

5 Ach do'n ti nach dean obair, ach a ta creidsinn annsan ti a dh'fhìreanaicheas an duine mi-dhiadhaidh, measar a chreidimh mar fhìreantachd.

6 Amhuil mar a ta Daibhidh a' cur an céill beannachadh an duine sin d'am meas Dia fìreantachd as eugmhais oibre, ag ràdh,

7 Is beannuichte iadsan a fhuair maitheanas 'nan euceirtibh, agus aig am bheil am peacaidh air am folach.

8 Is beannuichte an ti nach cuir an Tighearn peacadh as a leth.

9 Am bheil ma ta am beannachadh so *teachd* air an timchioll-ghearradh *a mhàin,* no mar an ceudna air an neo-thimchioll-ghearradh? Oir deireamaid gu'n do mheasadh creidimh do Abraham mar fhìreantachd.

10 Cionnas ma ta a mheasadh dha e? An ann an uair a bha e san timchioll-ghearradh, no san neo-thimchioll-ghearradh? Cha'n ann san timchioll-ghearradh, ach san neo-thimchioll-ghearradh.

11 Agus fhuair e comhar an timchioll-ghearraidh, seula fìreantachd a' chreidimh a bha aige san neo-thimchioll-ghearradh, chum gu'm biodh e 'na athair acasan uile a ta creidsinn san neo-thimchioll-ghearradh, chum gu measfadh fìreantachd dhoibhsan mar an ceudna:

12 Agus 'na athair an timchioll-ghearraidh dhoibhsan a ta ni a mhàin do'n timchioll-ghearradh, ach mar an ceudna a ta 'g imeachd ann an

[c] *fa dheireadh, a dheidh-laimh.* [d] *a shaoras, a ghairmeas glan.* [e] *a' daingneachadh.* [f] *mar fhàbhor.*

ceumaibh a' chreidimh sin ar n-Athar
Abrahaim, a bha aige san neothimch-
ioll-ghearradh.
13 Oir cha b'ann tre'n lagh a
thugadh an gealladh do Abraham no
d'a shìol, Gu'm biodh e 'na oighre air
an t-saoghal, ach tre fhìreantachd a'
chreidimh.
14 Oir ma *ta* iadsan a bhuineas do'n
lagh 'nan oighreachaibh, tha creidimh
air a dheanamh dìomhain, agus an
gealladh gun bhrigh :
15 A chionn gu bheil an lagh ag
oibreachadh feirge: oir far nach 'eil
lagh, cha'n 'eil *an sin* briseadh lagha.
16 Uime sin is ann o chreidimh a
ta 'n *oighreachd*, ionnas gu'm *biodh i*
tre ghràs: chum gu'm biodh an
gealladh daingean do'n t-sìol uile,
ni h-ann a mhàin dhoibhsan a
bhuineas do'n lagh, ach mar an
ceudna dhiobhsan a bhuineas do
chreidimh Abrahaim, neach is e ar
n-athairne uile,
17 (A réir mar a ta e scrìobhta,
Dh'orduich mi thu a'd' athair mhòrain
chinneach) 'na làthairse anns an do
chreid e, eadhon Dia, a ta beothach-
adh nam marbh, agus *a ta* gairm
nan nithe sin nach 'eil idir ann mar
gu'm biodh iad ann :
18 Neach an aghaidh dòchais a
chreid an dòchas, chum gu'm biodh e
na athair mhòrain chinneach ; a réir
mar a dubhradh, Mar so bithidh do
shliochd.
19 Agus air dha gun bhi anmhunn
an creidimh, cha do chuir e an suim
'n robh a chorp féin a nis marbh, air
dha bhi timchioll ceud bliadhna
dh'aois, no mairbhe bronn Shara.
20 Agus cha do chuir e an amharus
gealladh Dhé le mi-chreidimh ; ach
bha e làidir an creidimh, a' tabhairt
glòire do Dhia :
21 Agus bha làn-deimhin aige, an
ti a thug an gealladh, gur comasach
esan air a choimhlionadh.
22 Agus uime sin mheasadh so
dhasan mar fhìreantachd.
23 A nis cha b'ann air a shonsan a
mhàin a scrìobhadh, gu'n do mheas-
adh so dha ;
24 Ach air ar sonne mar an ceud-
na, d'am measar e, ma chreideas sinn
annsan a thog suas Iosa ar Tighearn
o na marbhaibh,
25 A thugadh thairis air son ar
cionta, agus a thogadh suas a rìs
air son ar fìreanachaidh.

CAIB. V.

1 *Air dhuinn bhi air ar saoradh o
chionta peacaidh tre chreidimh, tha
sìth againn maille ri Dia, agus
gairdeachas an dòchas:* 8 *am feadh
gu'n d' fhuair sinn réite tre fhuil
Chriosd, 'nuair bu naimhde sinn, is
mòr is mò na sin a shaorar sinn a
nis air dhuinn an réite fhaotainn.*
12 *Mar a thainig peacadh agus
bàs tre Adhamh, is mòr is mò na sin
a tha fìreantachd agus beatha tre
Iosa Criosd.* 20 *Far an robh
peacadh mòr thug gràsa barrachd.*

UIME sin air dhuinne bhi air
ar fìreanachadh[g] tre chreid-
imh, tha sìth againn ri Dia, trid ar
Tighearn Iosa Criosd.
2 Tre'm bheil againn mar an
ceudna slighe tre chreidimh chum
a' ghràis so anns am bheil sinn 'nar
seasamh, agus a ta sinn a' deanamh
gairdeachais an dòchas[h] gloire Dhé.
3 Agus cha'n e *so* a mhàin, ach
a ta sinn mar an ceudna a' deanamh
uaill ann an trioblaidibh, do bhrigh
gu bheil fios againn gu'n oibrich
trioblaid i foighidin ;
4 Agus foighidin, dearbhadh[l] ;
agus dearbhadh, dòchas :
5 Agus cha nàraich an dòchas, do
bhrigh gu bheil gràdh Dhé air a
dhòrtadh a mach ann ar cridheach-
aibh, tre'n Spiorad naomh a thugadh
dhuinne.
6 Oir air dhuinne bhi fathast gun
neart, an àm iomchuidh bhàsaich
Criosd air son nan *daoine* neo-dhiadh-
aidh.
7 Oir[m] is gann a dh'fhuilingeas
duine bàs air son duine chothromaich ;
ach theagamh gu'm biodh aig neach
eigin do mhisnich eadhon bàs fhulang
air son duine mhaith.
8 Ach a ta Dia a' moladh a ghràidh

[g] *saoradh, glanadh o chionta.* [h] *earbsa, dùil.* [i] *àmhgar.* [l] *fidreachadh,
fein-fhiosrachadh.* [m] *A nis.*

féin duinne, do bhrigh an uair a bha
sinn fathast 'nar peacachaibh gu'n
d'fhuiling Criosd bàs air ar son.
9 Is mòr is mò uime sin, air dhuinn
a nis bhi air ar fìreanachadh tre fhuil,
a shaorar[n] trìdsan o fheirg sinn.
10 Oir ma 'se air bhi dhuinn 'nar
naimhde, gu'n d'rinneadh réidh ri
Dia sinn tre bhàs a Mhic; is mòr is
mò air dhuinn bhi air ar deanamh
réidh, a shaorar tre a bheatha sinn.
11 Agus ni h-e mhàin *sin*, ach a ta
sinn a' deanamh gairdeachais an Dia,
trìd ar Tighearna Iosa Criosd, trìd an
d'fhuair sinn a nis an réite.
12 Uime sin mar a thainig peac-
adh a steach do'n t-saoghal tre aon
duine, agus bàs tre'n pheacadh; mar
sin mar an ceudna thainig bàs air na
h-uile dhaoinibh, do bhrigh gu'n do
pheacaich iad uile.
13 *Oir gus an lagh, bha peacadh
anns an t-saoghal: ach cha chuirear
peacadh a leth dhaoine far nach 'eil
lagh.*
14 Gidheadh, rìoghaich am peac-
adh o Adhamh gu Maois, eadhon air
an dream nach do pheacaich a réir
coslais easumhlachd Adhaimh, neach
is e samhladh[o] an tì ud a bha ri
teachd:
15 *Ach cha'n ann mar a' choire, a*
tha'n saor thiodhlac. Oir ma fhuair
mòran bàs tre choire aoin, is mòr is
mò na sin a *tha* gràs Dhé, agus an
tiodhlac tre ghràs *a ta* trìd aon duine,
Iosa Criosd, pailte do mhòran.
16 Agus ni h-ann mar tre aon
duine a pheacaich[p], *mar sin* a tha'n
tabhartas: oir *bha* am breitheanas
tre aon *choire*, chum dìtidh: ach *a
ta*'n saor thabhartas o mhòran chiont-
aibh chum fìreanachaidh.
17 Oir ma's e is tre choire aon
duine, gu'n do rìoghaich am bàs tre
h-aon, is mòr is mò na sin a
rìoghaicheas iadsan, a gheibh pailteas
gràis, agus tabhartais na fìreantachd,
ann am beatha tre aon, *eadhon* Iosa
Criosd.
18 Uime sin mar trìd aon chionta[r]
a thainig breitheanas air na h-uile
dhaoinibh chum dìtidh, is amhuil
sin mar an ceudna trid aon fhìreant-
achd[s], *thainig an saor thiodhlac* air
na h-uile dhaoinibh chum fìreanach-
aidh na beatha.
19 Oir mar trìd eas-umhlachd
aon duine a rinneadh mòran 'nam
peacachaibh, is amhuil sin trid ùmhl-
achd aon *duine* a nithear mòran 'nam
fìreanaibh.
20 Ach thainig an lagh a steach,
chum gu meudaichte a' choire: ach
far an do mheudaicheadh am peacadh,
bu ro-mhò a mheudaicheadh gràs.
21 Chum as mar a rìoghaich am
peacadh chum bàis, mar sin gu'n
rìoghaicheadh gràs tre fhìreantachd
chum na beatha maireannaich, trìd
Iosa Criosd ar Tighearn.

C A I B. VI.

1 *Cha'n fheud sinn ar beatha a chaith-
eadh am peacadh; oir a ta sinn
marbh dha mar tha'm baisteadh a'
dearbhadh.* 12 *Na biodh rìoghachd
aig a' pheacadh ni's mò,* 18 *do
bhrigh gu'n d'thug sinn sinn féin
thairis do sheirbhis na fìreantachd,*
23 *agus a chionn gur e am bàs
tuarasdal a' pheacaidh.*

CHIOD ma ta a deir sinn? Am
buanaich sinn am peacadh,
chum gu meudaichear gràs?
2 Nar leigeadh Dia. Cionnas a
dh'fheudas sinne a ta marbh do'n
pheacadh, ar beatha a chaitheadh ni's
faide ann?
3 Nach 'eil fhios agaibh, a mheud
againn is a bhaisteadh ann an Iosa
Criosd, gu'n do bhaisteadh chum a
bhàis sinn?
4 Air an aobhar sin dh'adhlaiceadh
sinn maraon ris tre'n bhaisteadh
chum bàis: ionnas mar a thogadh
Criosd suas o na marbhaibh le glòir[t]
an Athar, mar sin gu gluaiseamaid-ne
mar an ceudna ann an nuadhachd
beatha.
5 Oir ma chaidh ar suidheachadh
maraon ann an coslas a bhàis, bithidh
sinn mar an ceudna *air ar suidheach-
adh ann an coslas* aiseirigh.

[n] *thearnar, shubhalar.* [o] *samhlachas, comh-choslas, dealbh.* [p] *tre aon
pheacadh.* [r] *trìd chionta aon duine.* [s] *trìd fhìreantachd aoin.*
[t] *cumhachd.*

6 Air fhios so a bhi againn, gu bheil ar seann duine air a cheusadh maraon *ris*, ionnas gu'm biodh corp a pheacaidh air a sgrios, chum a so suas nach deanamaid seirbhis do'n pheacadh.

7 Oir an ti a fhuair bàs, rinneadh saor e o'n pheacadh.

8 A nis ma fhuair sinn bàs maraon ri Criosd, tha sinn a' creidsinn gu'm bi sinn beo maille ris mar an ceudna:

9 Air dhuinn fios a bhi againn air do Chriosd éirigh o na marbhaibh, nach bàsaich e ni's mò; cha 'n'eil tighearnas aig a' bhàs ni's mò air.

10 Oir a mheud gu'n d'fhuair e bàs, is ann do'n pheacadh a fhuair e bàs aon uair *a mhàin*: ach a mheud gu bheil e beo, is ann do Dhia a ta e beo.

11 Mar sin mar an ceudna measaibhse gu bheil sibh féin gu deimhin marbh do'n pheacadh, ach beo do Dhia trid Iosa Criosd ar Tighearna.

12 Air an aobhar sin na rìoghaicheadh am peacadh ann bhur corp bàsmhor, air chor as gu'n d'thugadh sibh ùmhlachd dha 'na anamhiannaibh.

13 Agus na tugaibh bhur buill 'nan armaibh eucorach do'n pheacadh; ach thugaibh sibh féin do Dhia, mar dhroing a ta beo o na marbhaibh, agus bhur buill 'nan armaibh fìreantachd do Dhia.

14 Oir cha bhi aig a' pheacadh tighearnas oirbh: oir cha 'n'eil sibh fuidh 'n lagh ach fuidh ghràs.

15 Ciod uime sin? am peacaich sinn, do bhrigh nach 'eil sinn fuidh 'n lagh, ach fuidh ghràs? Nar leigeadh Dia.

16 Nach 'eil fhios agaibh, an ti d'an toir sibh sibh féin mar sheirbhisich chum ùmhlachd, gur seirbhisich sibh do'n ti d'an dean sibh ùmhlachd; ma's ann do'n pheacadh chum bàis, no do ùmhlachd chum fìreantachd.

17 Ach buidheachas do Dhia, an déigh dhuibh a bhi 'nar seirbhisich do'n pheacadh, gu'n d'thug sibh o bhur cridhe ùmhlachd do'n chumadh teagaisg sin d'an d'thugadh sibh thairis[u].

18 Air dhuibh ma ta bhi air bhur deanamh saor o'n pheacadh, rinn sibh seirbhis do'n fhìreantachd.

19 Tha mi labhairt mar dhuine, air son anmhuinneachd bhur feòla-sa: oir mar a thug sibh bhur buill mar sheirbhisich do neo-ghloine, agus do eucceart chum euceirt, amhuil sin a nis thugaibh bhur buill mar sheirbhisich do'n fhìreantachd, chum naomhachd.

20 Oir an uair a bha sibh 'nar seirbhisich do'n pheacadh, bha sibh saor o'n fhìreantachd.

21 Air an aobhar sin ciod an toradh a bha agaibh an sin anns na nithibh sin, a ta nis a' cur nàire oirbh? oir is e crìoch nan nithe sin am bàs.

22 Ach a nis air dhuibh bhi saor o'n pheacadh, agus 'nar seirbhisich do Dhia, tha bhur toradh agaibh chum naomhachd, agus a' chrìoch a' bheatha mhaireannach.

23 Oir is e tuarasdal a' pheacaidh am bàs: ach is e saor thiodhlacadh[a] Dhé a' bheatha mhaireannach, trìd Iosa Criosd ar Tighearna.

C A I B. VII.

1 *Cha 'n'eil aig an lagh cumhachd os ceann duine ni's faide na's beo e.* 4 *Ach tha sinne marbh do'n lagh.* 7 *Gidheadh cha 'n'eil an lagh 'na pheacadh,* 12 *Ach naomha, ceart, agus maith, &c.*

NACH 'eil fhios agaibh, a bhràithre, (oir is ann riusan d'an aithne an lagh a ta mi labhairt) gu bheil tighearnas aig an lagh air duine, am fad is beo e?

2 Oir a' bhean a ta pòsda ri fear, tha i ceangailte leis an lagh r'a fear am fad is beo e: ach ma gheibh a fear bàs, tha i fuasgailte o lagh a fir.

3 Uime sin am feadh is beo a fear, ma phòsar i ri fear eile, goirear banadhaltranach dhith: ach ma gheibh a fear bàs, tha i saor o'n lagh sin, air chor as nach ban-adhaltranach i, ge do robh i aig fear eile.

4 Air an aobhar sin, mo bhràithre, tha sibhse mar an ceudna marbh do'n lagh tre chorp Chriosd; ionnas gu'm

[u] *ris an do chomh-chumadh sibh, a thugadh dhuibh.* [a] *ghibht.*

biodh sibh pòsda ri fear eile, *eadhon*
ris-san a thogadh o na marbhaibh,
chum gu'n tugamaid toradh a mach
do Dhia.
5 Oir an uair a bha sinn san fheòil,
bha miannan nam peacadh, tre'n lagh,
ag oibreachadh ann ar ballaibh, chum
toradh a thoirt a mach gu bàs.
6 Ach a nis tha sinn air ar deanamh
saor o'n lagh, air dha sin a bhi marbh[b]
leis 'na chumadh sinn; chum gu'n
deanamaid seirbhis ann an nuadh-
achd spioraid, agus ni *h-ann* an
seanachd na litreach.
7 Ciod uime sin a deir sinn? am
bheil an lagh 'na pheacadh? Nar
leigeadh Dia. Ni h-eadh, cha
b'aithne dhomh peacadh, ach tre'n
lagh: oir cha bhiodh eòlas agam air
sannt, mur abradh an lagh. Na sannt-
uich[c].
8 Ach air do'n pheacadh fàth[d] a
ghlacadh, tre'n àithne dh'oibrich e
annam gach uile ghnè an-tograidh:
oir as eugmhais an lagha *bha'n*
peacadh marbh.
9 Oir bha mise beo as eugmhais an
lagha uair-eigin: ach air teachd do'n
àithne, dh'ath-bheothaich am peacadh,
agus fhuair mise bàs.
10 Agus an àithne *a dh'orduicheadh*
chum beatha, fhuaradh dhomhsa
chum bàis i.
11 Oir air do'n pheacadh fàth a
ghlacadh, tre'n àithne mheall e mi,
agus le sin mharbh e mi.
12 Air an aobhar sin tha'n lagh
naomha; agus *a ta* 'n àithne naomha,
agus cothromach, agus maith.
13 Uime sin an d'rinneadh an ni
sin a bha maith, 'na bhàs domhsa?
Nar leigeadh Dia. Ach am peacadh,
chum gu faicte[e] gur peacadh e, ag
oibreachadh bàis annamsa, leis an ni
sin a ta maith; chum tre'n àithne
gu'm fàsadh am peacadh ro pheacach.
14 Oir a ta fhios againne gu bheil
an lagh spioradail: ach a ta mise
feòlmhor, air mo reiceadh fuidh'n
pheacadh.
15 Oir an ni a ta mi deanamh, cha
taitneach leam e: oir an ni a b'àill
leam, cha'n e a dheanam; ach an ni
a's fuathach leam, is e sin a ta mise a'
deanamh.
16 Uime sin ma ta mi deanamh an
ni nach b'àill leam, tha mi 'g aont-
achadh leis an lagh, gu bheil e maith.
17 A nis ma ta cha mhise ni's mò
a tha deanamh so, ach am peacadh a
tha gabhail còmhnuidh annam.
18 Oir a ta fhios agam, annamsa
(sin ri ràdh, ann am fheòil) nach 'eil
maith sam bith a' gabhail còmhnuidh:
oir tha'n toil a làthair maille rium,
ach *dòigh sam bith* chum maith a
dheanamh *ni faigh* am.
19 *Oir ni'n* deanam am maith ba
mhiann leam: ach an t-olc nach b'àill
leam, is e sin a ta mi a' deanamh.
20 A nis ma ta mi a' deanamh an
ni nach b'àill leam, cha mhise ni's mò
a ta deanamh so, ach am peacadh a
tha gabhail còmhnuidh annam.
21 *Uime* sin tha mi faotainn lagha,
'n uair a b'àill leam am maith a
dheanamh, gu bheil an t-olc a làthair
agam.
22 Oir a ta tlachd agam an lagh
Dhé, a réir an duine an taobh a stigh.
23 Ach tha mi faicinn lagha eile
a'm' bhallaibh a' cogadh an aghaidh
lagha m'inntinn, agus ga m' thabhairt
am braid do lagh a' pheacaidh, a ta
ann am bhallaibh.
24 Och is duine truagh mi! cò a
shaoras mi o chorp a' bhàis so?
25 *Tha* mi toirt buidheachais do
Dhia[f], trid Iosa Criosd ar Tighearna.
Uime sin, tha mise féin leis an inntinn
a' deanamh seirbhis do lagh Dhé, ach
leis an fheòil do lagh a' pheacaidh.

CAIB. VIII.

1 *Tha iadsan a ta ann an Criosd,*
agus a' caitheadh am beatha réir an
Spioraid, saor o dhìteadh. 5 *Ciod*
an cron a thig o'n fheòil. 14 *agus*
ciod am maith a thig o'n Spioraid;
17 *agus ciod e a bhi 'nar cloinn do*
Dhia; 19 *droing aig am bheil,*
roimh na h-uile nithe, déidh air an
saorsa. &c.

AIR an aobhar sin cha 'n 'eil a
nis dìteadh sam bith do'n dream
sin a tha ann an Iosa Criosd, a tha

[b] *air dhuinn bàsachadh san ni.* [c] *miannuich.* [d] *cothrom.*
[e] *leigte ris.* [f] *Ghràs Dhé.*

gluasad[f] ni h-ann a réir na feòla, ach
a réir an Spioraid.
2 Oir shaor lagh Spioraid na
beatha, ann an Iosa Criosd, mise o
lagh a' pheacaidh agus a' bhàis.
3 Oir an ni nach robh an comas
do'n lagh a dheanamh, do bhrigh gu
robh e anmhunn tre'n fheòil, ag cur
a' Mhic féin do Dhia an coslas feòla
peacaich, agus *'na ìobairt* air son
peacaidh, dhìt e am peacadh san
fheòil:
4 Chum gu'm biodh fìreantachd
an lagha air a coimhlionadh annainne,
a tha gluasad cha'n ann a réir na
feòla, ach a réir an Spioraid.
5 Oir an dream a ta a réir na feòla,
tha an aire air na nithibh sin a bhuin-
eas do'n fheòil; ach an dream a ta a
a réir an Spioraid, air na nithibh sin
a bhuineas do'n Spiorad.
6 Oir an inntinn fheòlmhor is bàs
i; ach an inntinn spioradail is beatha
agus sìothchaint i:
7 Do bhrigh gur naimhdeas an
inntinn fheòlmhor an aghaidh Dhé;
oir cha 'n'eil i ùmhal do lagh Dhé, is
cha mhò a tha'n comas d'i bhi.
8 Uime sin cha'n urrainn iadsan a
tha san fheòil Dia a thoileachadh.
9 Ach cha 'n'eil sibhse san fheòil,
ach san Spiorad, ma tha Spiorad Dhé
a' gabhail còmhnuidh annaibh. A nis
mar 'eil Spiorad Chriosd aig neach,
cha bhuin e dha.
10 Agus ma *tha* Criosd annaibh,
tha'n corp marbh gu deimhin a thaobh
peacaidh; ach is beatha an spiorad
a thaobh[g] fìreantachd.
11 Ach ma tha Spiorad an ti a thog
Iosa o na marbhaibh, a' gabhail còmh-
nuidh annaibh, an ti a thog Criosd o
na marbhaibh, beothaichidh e mar an
ceudna bhur cuirp bhàsmhorsa, tre a
Spioradsan a ta chòmhnuidh ann-
aibh.
12 Uime sin, a bhràithre, tha sinn
fa fhiachaibh, cha'n ann do'n fheòil,
chum ar beatha a chaitheadh a réir na
feòla.
13 Oir ma chaitheas sibh bhur
beatha a réir na feòla, gheibh sibh
bàs: ach ma mharbhas sibh tre'n
Spiorad gniomhara na colla, bithidh
sibh beo.
14 Oir a mheud 's a ta air an
treòrachadh le Spiorad Dhé, is iad
mic Dhé.
15 Oir cha d'fhuair sibh Spiorad
na daorsa a rìs chum eagail; ach
fhuair sibh Spiorad na h-uchd-mhac-
achd, tre an glaodh[h] sinn, Abba,
Athair.
16 Tha an Spiorad féin a' deanamh
fianuis maraon r'ar spioradne, gur
sinn clann Dhé.
17 Agus ma's clann, is oighreach-
an; oighreachan air Dia, agus comh-
oighreachan maille ri Criosd: ma 'se
's gu'm fuiling sinn maille ris, chum
gu glòraichear maraon ris sinn mar
an ceudna.
18 Oir measam, nach fiu fulangais
na h-aimsir a ta làthair *an coimhmeas*
ris a' ghloir a dh'fhoillsichear ann-
ainn.
19 Oir a ta dùil dhùrachdach a'
chruthachaidh[i] a' feitheamh ri foills-
eachadh cloinne Dhé.
20 Oir chuireadh an cruthachadh
fuidh dhìomhanas, cha'n ann le thoil,
ach trìdsan a chuir fuidh dhìomhan-
as *e*;
21 An dòchas gu'n saorar an cruth-
achadh féin fòs o dhaorsa na truaill-
idheachd, gu saorsa glòrmhor cloinne
Dhé.
22 Oir a ta fhios againne gu bheil
an cruthachadh uile[l] 'g osnaich, agus
am péin gu léir, mar mhnaoi ri saoth-
air, gus an àm so:
23 Agus cha'n *e so* a mhàin, ach
sinn féin mar an ceudna, aig am bheil
ceud thoradh an Spioraid, tha eadhon
sinne ag osnaich annainn féin, a'
feitheamh ris an uchd-mhacachd,
eadhon saorsa ar cuirp.
24 Oir is ann le dòchas a shaorar
sinn: ach dòchas a chithear, cha
dòchas e: oir c'ar son a bhios dòchas
aig duine ris an ni a ta e faicinn?
25 Ach ma ta dòchas[m] againn ris
an ni nach 'eil sinn a' faicinn, feithidh
sinn gu foighidneach ris.
26 Tha an Spiorad féin mar an
ceudna a' deanamh còmhnaidh le'r

[f] *a' siubhal, ag imeachd.* [g] *trìd, air sgàth.* [h] *éigh, gairm.* [i] *a' chreutair.*
[l] *gach uile chreutair.* [m] *sùil.*

n-anmhuinneachd: oir cha 'n aithne
dhuinn ciod a ghuidheamaid mar bu
chòir dhuinn: ach a ta an Spiorad
féin a' deanamh eadar-ghuidhe[n] air
ar son le osnaibh do-labhairt.
27 Agus is aithne dhasan a ta
rannsachadh nan cridheachan ciod i
inntinn an Spioraid, do bhrigh gu
bheil e a' deanamh eadar-ghuidhe
air son nan naomh a réir *toil* Dé.
28 Agus a ta fhios againn gu'n
comh-oibrich na h-uile nithe chum
maith, do'n dream aig am bheil gràdh
do Dhia, *eadhon* dhoibhsan a ghairm-
eadh a réir *a* rùin.
29 Oir an dream a roimh-aithnich
e, roimh-orduich e iad mar an ceudna
chum bhi comh-chosmuil ri dealbh a
Mhic, chum gu'm biodh esan 'na
cheud-ghin am measg mòrain
bhràithre.
30 Agus an dream a roimh-orduich
e, ghairm e iad mar an ceudna: agus
an dream a ghairm e, dh'fhìreanaich
e mar an ceudna: agus an dream a
dh'fhìreanaich e, ghlòraich e mar an
ceudna.
31 Ciod uime sin a deir sinn ris
na nithibh sin? Ma ta Dia leinn, cò
dh'fheudas bhi 'nar n-aghaidh?
32 An ti nach do chaomhain a
Mhac féin, ach a thug thairis e air ar
soin-ne uile, cionnus maille ris-san
nach tabhair e mar an ceudna dhuinn
gu saor na h-uile nithe?
33 Cò chuireas coire sam bith a
leth daoine taghta Dhé? *'Se Dia* a
dh'fhìreanaicheas[o].
34 Cò a dhìteas? *'Se* Criosd a
fhuair bàs, seadh tuilleadh fòs, a
dh'éirich a ris, agus a ta air deas làimh
Dhé, neach a ta mar an ceudna a'
deanamh eadar-ghuidhe air ar soin-
ne.
35 Cò sgaras[p] sinn o ghràdh
Chriosd? *an dean* trioblaid, no
àmhghar, no geur-leanmhuinn, no
gorta, no lomnochduigh, no cunnart,
no claidheamh?
36 (A réir mar a ta e sgrìobhta,
Air do shonsa mharbhadh sinn rè an
là; mheasadh sinn mar chaoraich
chum marbhaidh.)
37 Ni h-eadh, ach anns na nithibh
sin uile tha sin a' toirt tuilleadh agus
buaidh, trìdsan a ghràdhaich sinn.
38 Oir a ta dearbh-bheachd agam,
nach bi bàs, no beatha, no aingil, no
uachdaranachda, no cumhachda, no
nithe a ta làthair, no nithe a ta ri
teachd,
39 No àirde, no doimhne, no creut-
air sam bith eile, comasach air sinne a
sgaradh o ghràdh Dhé a ta ann an
Iosa Criosd ar Tighearn.

CAIB. IX.

1 *Tha Pòl doilich air son nan Iudh-
ach.* 7 *Cha b'iad sliochd Abrahaim
uile clann a' ghealladh.* 18 *Tha
Dia a' deanamh tròcair air an
droing a's toil leis.* 21 *Feudaidh an
cumadair an ni a's toil leis a dhean-
amh ris a' chriadh.* 25 *Tha gairm
nan Cinneach, agus cur-air-cùl nan
Iudhach air an roimh-innseadh, &c.*

1 A DEIREAM an fhìrinn ann
an Criosd, nior dheanam breug,
(air bhi do m' choguis a' deanamh
fianuis domh san Spiorad naomh.)
2 Gu bheil doilgheas mòr orm, a-
gus cràdh air mo chridhe an còmh-
nuidh.
3 Oir ghuidhinn mi *féin* a bhi
dealaichte[r] o Chriosd, air son mo
bhràithre, mo luchd-dàimh a thaobh
na feòla:
4 A ta 'nan Israelich; d'am *buin*
an uchd-mhacachd agus a' ghlòir,
agus na coimhcheangail, agus tabhairt
an lagha, agus seirbhis *Dé*, agus na
geallanna;
5 D'am buin na h-aithriche, agus
o'm bheil Criosd a thaobh na feòla,
a ta 'na Dhia os ceann nan uile,
beannuichte gu siorruidh. Amen.
6 Cha'n e gu bheil focal Dé gun
éifeachd. Oir cha'n Israelich iadsan
uile a ta o Israel:
7 Agus ni mò do bhrigh gur sliochd
do Abraham iad, *a ta iad* uile 'nan
cloinn: ach ann an Isaac ainmichear
do shìol.
8 Is e sin ri radh, Cha'n iad clann
na feòla clann Dhé: ach is iad clann a
ghealladh a mheasar mar shìol.

[n] *guidhe.* [o] *a shaoras, a ghairmeas glan o chionta.* [p] *dhealaicheas* [r] *malluichte.*

9 Oir *is* e so focal a' gheallaidh, A
réir an àm so[s] thig mi, agus bithidh
mac aig Sara.
10 Agus cha'n e mhàin *so*, ach
Rebeca mar an ceudna 'nuair a
thoirrcheadh i o aon, *eadhon* Isaac ar
n-athairne.
11 (Oir mun do rugadh *na naoidh-
eana*, agus mun d'rinn iad maith no
olc, chum gu'm biodh rùn Dé a réir
an taghaidh seasmhach, cha'n ann o
oibribh, ach o'n ti a ghairmeas.)
12 A dubhradh rithe, Ni an neach
a's seine seirbhis do'n neach a's òige.
13 A réir mar a ta e scrìobhta,
Ghràdhaich mi Iacob, ach dh'fhuath-
aich mi Esau.
14 Ciod a deir sinn ma ta? *am
bheil* eucoir maille ri Dia? Nar leig-
eadh Dia.
15 Oir a deir e ri Maois, Ni mi
tròcair, air an neach air an dean mi
tròcair, agus gabhaidh mi truas do'n
neach d'an gabh mi truas.
16 Uime sin cha'n ann o'n ti leis
an àill, no o'n ti a ruitheas, ach o Dhia
a ni tròcair.
17 Oir a deir an scrìobtuir ri
Pharaoh, Is ann chum na crìche so
féin a thog mi suas thu, chum gu'm
foillsichinn mo chumhachd annad, a-
gus chum gu'm biodh m'ainm
iomraideach air feadh na talmhainn
uile.
18 Uime sin ni e tròcair air an ti
a's àill leis, agus an ti a's àill leis
cruaidhichidh se.
19 A deir tu ma ta rium, C'ar son
a ta e ma seadh a' faghail croin? oir
cò a chuir an aghaidh a thoile?
20 Ni h-eadh ach, O a dhuine,
cò thusa a ta tagradh an aghaidh
Dhé? An abair an ni a chumadh ris
an ti a chum e, C'ar son a rinn thu
mi mar so?
21 Nach 'eil cumhachd aig a'
chriadh-fhear[t] air a' chriadh, ionnas
gu'n deanadh e do'n aon mheall aon
soitheach chum onoir, agus soitheach
eile chum eas-onoir.
22 *Ciod* ma's e, air bhi do Dhia
toileach fhearg a nochdadh, agus a
chumhachd a dheanamh aithnichte,
gu'n d'fhuiling[u] e le mòr fhad-fhul-
angas soithiche na feirge air an
ulluchadh chum sgrios;
23 Agus chum gu'n deanadh e
aithnichte saibhreas a ghlòire air
soithichibh na tròcair, a dh'ulluich e
roimh-làimh chum glòire?
24 Eadhon sinne a ghairm e, cha'n
e mhàin do na h-Iudhachaibh, ach
mar an ceudna do na Cinneachaibh.
25 Mar a deir e mar an ceudna ann
an Osee, Goiridh mi mo phobull
diubhsan nach robh 'nam pobull
domh; agus *bean* ghràdhach dh'ise,
nach robh gràdhach.
26 Agus tarluidh, anns an ionad san
dubhradh riu, Cha sibh mo phobuilsa,
an sin gu'n goirear Clann an Dé bheo
dhiubh.
27 Tha Esaias mar an ceudna ag
éigheach mu thimchioll Israeil, Ge
do tha àireamh chloinn Israeil mar
ghaineamh na fairge, is fuigheall a
thearnar.
28 Oir crìochnaichidh e an obair,
agus gearraidh e goirid i an ceartas[a]:
do bhrigh gu'n dean an Tighearn
obair ghoirid air an talamh.
29 Agus mar a thubhairt Esaias
roimhe, Mur fàgadh Tighearn nan
slugh sìol againne, dheantadh sinn
mar Shodom, agus bhitheamaid
cosmhuil ri Gomorrha.
30 Ciod a deir sinn ma seadh?
Gu'n d'ràinig na Cinnich, nach robh
a' leantuinn fìreantachd, air fìreant-
achd, eadhon an fhìreantachd a ta o
chreidimh:
31 Ach cha do ràinig Israel, a bha
leantuinn lagha na fìreantachd, air
lagh na fìreantachd.
32 C'ar son? A chionn nach ann
o chreidimh, ach mar gu'm b'ann o
oibribh an lagha *a dh'iarr iad i*: oir
thuislich iad air a' chloich-thuislidh
sin;
33 Mar a ta e scrìobhta, Feuch,
cuiream ann an Sion clach-thuislidh,
agus carraig oilbheim: agus gach
neach a chreideas annsan, cha chuirear
gu nàire e.

[s] *Air an àm so.* [t] *fear deanamh shoithiche creadha.* [u] *gu'n do ghiùlain.*
[a] *fìreantachd.*

CAIB. X.

5 Tha an scriobtuir a' nochdadh an eadar-dhealachaidh a ta eadar fìreantachd an lagha, agus a' chreidimh; 11 agus nach cuirear a h-aon do na h-Iudhaich, no do na Cinnich sin uile a chreideas, fuidh amhlughadh; 18 agus gu'n gabh na Cinnich ris an fhocal, agus gu'n creid iad. 19 Cha robh Israel aineolach air na nithibh sin.

ABHRAITHRE, is e dùrachd[b]
mo chridhe, agus m'ùrnuigh ri
Dia air son Israeil, gu'm biodh iad
air an tearnadh.
2 Oir a ta mi deanamh fianuis
doibh, gu bheil eud[c] aca thaobh Dhé,
ach cha'n ann a réir eòlais.
3 Oir air dhoibh bhi aineolach
air fìreantachd Dhé, agus ag iarraidh
am fìreantachd féin a chur air chois,
cha do strìochd[d] iad do fhìreantachd
Dhé.
4 Oir is e Criosd crìoch an lagha,
chum fìreantachd do gach neach a
chreideas.
5 Oir a ta Maois a' cur an céill na
fìreantachd a ta o'n lagh, *eadhon* an
duine a ni na nithe sin, gu'm bi e
beo *leo.*
6 Ach mar so deir an fhìreantachd
a ta *o* chreidimh. Na abair ann do
chridhe, Cò théid suas air neamh?
(sin r'a ràdh, a thoirt Chriosd a nuas;)
7 No, Cò a théid sìos do'n doimhne?
(sin r'a ràdh, a thoirt Chriosd a
ris air ais o na marbhaibh.)
8 Ach ciod a deir i? Tha 'm focal
am fagus duit, ann do bheul, agus
ann do chridhe: 'se sin focal a'
chreidimh a tha sinne a' searmonachadh,
9 Ma dh'aidicheas tu le d' bheul an
Tighearn Iosa, agus ma chreideas tu
ann do chridhe, gu'n do thog Dia o
na marbhaibh e, gu'n saorar thu.
10 Oir is ann leis a' chridhe a
chreidear chum fìreantachd, agus leis
a' bheul a dh'aidichear chum slàinte.
11 Oir a deir an scriobtuir, Ge b'e
neach a chreideas annsan, cha nàraichear e.
12 Oir cha 'n'eil eadar-dhealachadh
eadar an t-Iudhach agus an Greugach:
oir an t-aon Tighearn a ta os cionn
nan uile, tha e saibhir do na h-uile a
ghairmeas air.
13 Oir ge b'e neach a ghairmeas
air ainm an Tighearna, tearnar e.
14 Ach cionnus a ghairmeas iad
airsan anns nach do chreid iad? agus
cionnus a chreideas iad anns an ti air
nach cual iad *iomradh?* agus cionnus
a chluinneas iad gun searmonuiche?
15 Agus cionnus a ni iad searmoin,
mur cuirear iad? mar a ta e scrìobhta,
Cia sgiamhach cosa na *muinntir* sin
a ta searmonachadh soisgeil[e] na sìth,
a ta toirt sgéil aoibhneich air nithibh
maithe!
16 Ach cha robh iad uile ùmhal
do'n t-soisgeul. Oir a deir Esaias,
A Thighearn, cò a chreid ar n-aithris-ne[f]?
17 Uime sin, is ann o éisdeachd
a thig creidimh, agus éisdeachd tre
fhocal Dé.
18 Ach a deiream, Nach cual iad?
Chuala gu deimhin, chaidh fuaim
air feadh gach tìre a mach, agus
am briathra gu iomallaibh an domhain.
19 Ach a deiream, Nach robh fios
aig Israel? Air tùs, a deir Maois,
Cuiridh mi eud oirbh le *Cinneach*
nach 'eil 'nan Cinneach, *agus* le
Cinneach neo-thuigseach cuiridh mi
fearg *oirbh.*
20 Ach a ta Esaias ro dhàna, agus
a deir e, Fhuaradh mi leo-san nach
d'iarr mi; dh'fhoillsicheadh mi
dhoibhsan nach d'fhiosraich air mo
shon.
21 Ach ri Israel a deir e, Shìn mi
mach mo làmhan rè an là gu h-iomlan
ri pobull eas-ùmhal agus a' labhras
a'm' aghaidh.

CAIB. XI.

1 Cha do thilg Dia Israel uile uaith. 7 Thaghadh cuid, ge do chruaidhicheadh a' chuid eile. 16 Tha dòchas mu'n ath-philleadh. 18 Cha'n fheud na Cinnich uaill-mhiann a dheanamh orra; 26 oir tha gealladh gu'n slànuichear iad. 33 Tha breitheanais Dé do-rannsachaidh.

ADEIREAM ma seadh, An
do thilg Dia a phobull uaith?

[b] *làn toil.* [c] *teas-ghràdh.* [d] *ghéill.* [e] *soisgeulachadh.* [f] *na chual e uainne.*

Nar leigeadh Dia. Oir is Israeleach
mise féin mar an ceudna, do shliochd
Abrahaim, do thréibh Bheniamin.
2 Cha do thilg Dia uaith a phob-
ull a roimh-aithnich e. Nach 'eil
fhios agaibh ciod e a deir an scriob-
tuir mu Elias? cionnus a ta e a'
deanamh eadar-ghuidhe[g] ri Dia an
aghaidh Israeil, ag ràdh,
3 A Thighearn, mharbh iad
t'fhàidhean, agus leag iad sìos t'alt-
airean; agus dh'fhàgadh mise a'm'
aonar, agus tha iad ag iarraidh m'an-
ama.
4 Ach ciod a deir freagradh Dé
ris, Dh'fhàg mi dhomh féin seachd
mìle fear, nach do lùb an glùn do
dhealbh Bhaail.
5 Agus mar sin mar an ceudna
tha san àm so a làthair fuigheall a
réir taghaidh a' ghràis.
6 Agus ma's ann tre ghràs, cha'n
ann o oibribh ni's mò: Ach ma's ann
o oibribh, cha'n ann o ghràs a sin
suas: no cha'n obair a sin suas ob-
air.
7 Ciod ma seadh? An ni sin a tá
Israel ag iarraidh, cha do ràinig e air;
ach ràinig an taghadh air, agus
chaidh a' chuid eile a dhalladh:
8 Mar a ta e scrìobhta, Thug Dia
dhoibh spiorad na suaine, sùile chum
nach faiceadh iad, agus cluasa chum
nach cluinneadh iad, gus an là an
diugh.
9 Agus a deir Daibhidh, Bìodh am
bord mar ribe, agus mar inneal-glac-
aidh, agus mar cheap-tuislidh, agus
mar dhìol-thuarasdal dhoibh.
10 Bìodh an sùilean air an dorch-
achadh, chum nach faic iad; agus
crom-sa an druim an còmhnuidh.
11 A deiream uime sin, An do
thuislich iad ionnas gu'n tuiteadh
iad? Nar leigeadh Dia: ach tre an
tuiteamsan tha slàinte *air teachd*
chum nan Cinneach, chum iadsan a
bhrosnachadh gu h-eud.
12 Ma's e an tuiteamsan saibhreas
an domhain, agus an lughdachadh
saibhreas nan Cinneach; cia's mò na
sin a *bhitheas* an lànachd?
13 Oir is ann ribhse a labhram, a
Chinneacha; do bhrigh gur mi ab-
stol nan Cinneach, tha mi toirt urr-
aim do m' dhreuchd[h]:
14 Ma dh'fheudas mi air chor sam
bith mo choimh-fheòil a bhrosnach-
adh gu h-eud, agus gu'n tearuinn mi
dream àraidh dhiubh.
15 Oir ma's e'n tilgeadhsan air
falbh réiteachadh an domhain; ciod e
an ath-ghabhail, ach beatha o na
marbhaibh?
16 Oir ma ta an ceud-thoradh
naomha, tha am meall *naomha* mar
an ceudna: agus ma ta an fhreumh
naomha, *tha* na geuga *mar sin* mar
an ceudna.
17 Agus ma ta cuid do na geug-
aibh air am briseadh dheth, agus gu
bheil thusa, a bha a'd' chrann-ola
fiadhaich, air do shuidheachadh 'nam
measg, agus maille riu a' faotainn
comh-pairt do fhrèimh agus do
reamhrachd a' chroinn-ola;
18 Na dean uaill an aghaidh nan
geug: ach ma ni thu uaill 'nan agh-
aidh, cha tusa a dh'iomchaireas an
fhreumh, ach an fhreumh thusa.
19 A deir tu uime sin, Bhriseadh
dheth na geuga, chum gu suidh-
ichte mise 'nan àit.
20 Ro mhaith; air son am mi-
chreidimh bhriseadh iadsan dheth,
agus a ta thusa a' seasamh tre chreid-
imh. Na bi àrd-inntinneach, ach fa
eagal.
21 Oir mur do chaomhain Dia na
geuga nàdurra, *bìodh eagal ort* nach
caomhain e thusa mar an ceudna.
22 Feuch uime sin maitheas agus
geur cheartas Dé: geur cheartas d'an
taobhsan a thuit; ach do d' thaobh-
sa, maitheas, ma bhuanaicheas tu 'na
mhaitheas; agus mur buanaich, gearr-
ar dheth thusa mar an ceudna.
23 Agus suidhichear iadsan mar
an ceudna, mur buanaich iad 'nam
mi-chreidimh: oir a ta Dia comas-
ach air an suidheachadh a ris.
24 Oir ma ghearradh thusa as a'
chrann-ola a bha fiadhaich a thaobh
nàduir, agus gu'n do shuidhicheadh
ann an deadh chrann-ola thu an agh-
aidh nàduir; cia mòr is mò na sin a
shuidhichear na *geuga* nàdurra 'nan
crann-ola féin?

[g] *a' tagradh.* [h] *oifig.*

25 Oir cha b'àill leam, a bhràithre,
sibhse bhi aineolach air an rùn-diomh-
air so (chum nach biodh sibh glic
'nar barail féin) gu'n do tharladh
doille ann an cuid do Israel, gus an
d'thig iomlanachd nan Cinneach a
steach.

26 Agus mar sin bithidh Israel
uile air an slànuchadh: mar a ta e
scrìobhta, Thig am Fear-saoraidh o
Shion, agus tionndadhaidh e mi-
dhiadhachd o Iacob.

27 Oir is e so mo chomh-cheangal
riu, 'nuair a bheir mi air falbh am
peacanna.

28 Thaobh an t-soisgeil, *is naimh-
dean iad air bhur sonsa*: ach a thaobh
an taghaidh, *tha iad* gràdhaichte air
son nan aithriche.

29 Oir a ta tiodhlacan agus gairm
Dhé gun aithreachas.

30 Oir mar a bha sibhse roimhe so
eas-ùmhal do Dhia, ach a nis a fhuair
sibh tròcair trìd am mi-chreidimh-
san:

31 Amhuil sin a ta iadsan san àm
so eas-ùmhal[i], chum trìd bhur tròc-
airse gu 'm faigh iad tròcair mar an
ceudna.

32 Oir dhruid Dia iad uile ann
am mi-chreidimh[l], chum tròcair a
dheanamh air na h-uile.

33 O doimhne saibhris araon
gliocais agus eòlais Dé! Cia do-rann-
sachaidh a bhreitheanais, agus do-
lorgachaidh a shlighean!

34 Oir cò aig an robh fios inntinn
an Tighearna, no cò bu chomhairl-
each dha?

35 No cò thug dha air tùs, agus a
làn-dìolar a rìs dha e?

36 Oir is ann uaithesan agus trìd-
san, agus air a shonsan *a ta* na h-uile
nithe: dhasan *gu robh* glòir gu siorr-
uidh. Amen.

CAIB. XII.

1 *Is còir do thròcair Dhé sinne aom-
adh gu Dia a thoileachadh: 3 Cha
chòir do dhuine sam bith meas tuill-
eadh 's maith bhi aige dheth féin:
6 ach is còir do gach aon feith-
eamh air an dreuchd sin, a dh'earb-
adh ris. 9 Tha gràdh, agus mòr-
an do dhleasdanais eile air an
iarrraidh uainn. 19 Tha 'dioghal-
tas gu sonraichte air a thoirmeasg
dhuinn.*

AIR an aobhar sin guidheam
oirbh, a bhràithre, tre thròc-
airibh Dhé, bhur cuirp a thabhairt
'nam beo-ìobairt, naomha, thaitnich
do Dhia, *ni a's e* bhur seirbhis[m]
reusonta.

2 Agus na bithibh air bhur cum-
adh ris an t-saoghal so: ach bithibh
air bhur cruth-atharrachadh tre ath-
nuadhachadh bhur n-inntinn, chum
gu'n dearbh sibh ciod i toil mhaith,
thaitneach, agus dhiongmhalta sin
Dhé.

3 Oir a deiream trìd a' ghràis a
thugadh dhomhsa, ris gach neach 'nar
measg, gun smuaineachadh *uime féin
ni's* àirde na 's còir dha smuaineach-
adh; ach smuaineachadh am meas-
arrachd[n], a réir mar a roinn Dia ris
gach neach tomhas a' chreidimh.

4 Oir mar a ta mòran bhall againn
ann an aon chorp, agus nach e'n
t-aon ghnìomh[o] a th'aig gach ball:

5 Amhuil sin ge do tha sinne 'nar
mòran, is aon chorp ann an Criosd
sinn, agus is buill sinn gach aon fa
leth d'a chéile.

6 Uime sin air bhi do thiodhlac-
aibh againn, eadar-dhealaichte[p] a réir
a' ghràis a thugadh dhuinn, ma's
fàidheadaireachd, *deanamaid fàidh-
eadaireachd* a réir tomhais a' chreid-
imh:

7 No ma 's frithealadh, *thugamaid
aire* d'ar frithealadh; no an ti a
theagaisgeas, *thugadh e aire* d'a theag-
asg;

8 No an ti a bheir earail[r], *thugadh
e aire* d'a earail: an ti a roinneas *an
déirc, roinneadh e i* an treibh-dhìr-
eachd[s]; an ti a riaghlas, *deanadh se
e* maille ri dùrachd; an ti a ni tròc-
air, *deanadh se e* gu suilbhir.

9 *Biodh bhur* gràdh gun cheilg.
Biodh gràin agaibh do'n olc, lean-
aibh gu dlùth ris an ni a tha maith.

10 *Bithibh* teo-chridheach d'a
chéile le gràdh bràthaireil, ann an

[i] *cha do chreid iadsan.* [l] *easumhlachd.* [m] *aoradh.* [n] *stuaim.*
[o] *obair, oifig.* [p] *eagsamhuil.* [r] *comhairle.* [s] *aon-fhillteachd.*

urram a toirt toisich gach aon d'a
chéile:
11 Gun bhi leasg ann an gnoth-
uichibh: dùrachdach[t] 'nar spior-
ad; a' deanamh seirbhis do'n Tigh-
earn:
12 A' deanamh gairdeachais an
dòchas: foighidneach an trioblaid;
maireannach ann an ùrnuigh:
13 A' comh-roinn ri uireasbhuidh
nan naomh; a' gnàthachadh aoidh-
eachd.
14 Beannuichibh an dream a ta
deanamh geur-leanmhuinn oirbh:
beannuichibh, agus na mallaichibh.
15 Deanaibh gairdeachas maille
riusan a ta ri gairdeachas, agus caoidh
maille riusan a ta ri caoidh.
16 Bithibh a dh'aon rùn[u] d'a
chéile. Na biodh bhur cion air nith-
ibh àrd[a], ach cuiribh sibh féin an
comh-inbhe riu-san a ta ìosal. Na
bithibh glic 'nar barail féin.
17 Na ìocaibh olc air son uilc do
dhuine sam bith. Ulluichibh nithe
ciatfach am fianuis nan uile dhaoine.
18 Ma dh'fheudas e bhi, mheud 's
a ta e'n comas duibh, bithibh an sìth
ris na h-uile dhaoinibh.
19 *A chàirde* gràdhach, na dea-
aibh dioghaltas air bhur son féin, ach
thugaibh àit do'n fheirg: oir a ta e
sgrìobhta, Is leamsa an dioghaltas;
ìocaidh mi, deir an Tighearn.
20 Uime sin ma bhios do nàmhaid
ocrach, thoir biadh dha; ma bhios e
tartmhor[b], thoir deoch dha: oir le so
a dheanamh càrnaidh tu eibhle teine
air a cheann.
21 Na d'thugadh an t-olc buaidh
ort, ach beir-sa buaidh air an olc leis
a' mhaith.

C A I B. XIII.

*1 Umhlachd, agus dleasdanais eile
a's còir dhuinn chur an gnìomh do
uachdaranaibh. 8 'Se gràdh coimh-
lionadh an lagha. 11 Tha geocair-
eachd, agus misg, agus oibre an
dorchadais ro neo-chubhaidh do àm
an t-soisgeil.*

BIODH gach anam[c] ùmhal do
na h-àrd chumhachdaibh. Oir
cha 'n'eil cumhachd ann ach o Dhia:
agus na cumhachdan a ta ann, is ann
le Dia[d] a dh'orduicheadh iad.
2 Air an aobhar sin ge b'e air bith
a chuireas an aghaidh a' chumhachd,
tha e cur an aghaidh orduigh Dhé:
agus iadsan a chuireas 'na aghaidh,
gheibh iad breitheanas[e] dhoibh
féin.
3 Oir cha 'n'eil uachdarain 'nan
aobhar eagail do dheadh oibribh, ach
do dhroch oibribh. Uime sin am
miann leat bhi gun eagal an uach-
darain ort? dean am maith, agus
gheibh thu cliu uaith.
4 Oir is esan seirbhiseach Dhé
chum maith dhuit. Ach ma ni thu
an t-olc, biodh eagal ort; oir cha'n
ann gu dìomhain a tha e giùlan a'
chlaidheimh: oir is e seirbhiseach
Dhé e, 'na dhioghaltair feirge air an
ti a ni olc.
5 Uime sin is éigin bhi ùmhal, ni
h-ann a mhàin air son feirge, ach mar
an ceudna air son coguis.
6 Oir air an aobhar so tha sibh
mar an ceudna a' toirt cìs *dhoibh:* oir
is iad seirbhisich Dhé iad, a sìor-
fheitheamh air an ni so féin.
7 Air an aobhar sin thugaibh do
gach neach an dlighe féin: càin
dhasan d'an *dlighear* càin, cìs dhasan
d'an *dlighear* cìs, eagal dhasan d'an
dlighear eagal, agus urram dhasan
d'an *dlighear* urram.
8 Na biodh fiacha sam bith aig
aon neach oirbh, ach a mhàin a chéile
a ghràdhachadh: oir an ti aig am
bheil gràdh do neach eile, choimhlion
e an lagh.
9 Oir an ni so, Na dean adhal-
trannas, Na dean mortadh, Na goid,
Na dean fianuis bhréige, Na sannt-
aich, agus ma ta àithne sam bith eile
ann, tha i air a cur sìos gu h-aith-
ghearr fuidh 'n fhocal so, Gràdhaich
do choimhearsnach mar thu féin.
10 Cha dean gràdh lochd do
choimhearsnach: air an aobhar sin *is
e* an gràdh coimhlionadh an lagha.
11 Agus so, air dhuibh fios na
h-aimsir a bhi agaibh, gur mithich
dhuinn a nis mosgladh o chodal: oir

[t] *beothail, faobharach.* [u] *inntinn. toil.* [a] *Na bithibh àrd-inntinneach.*
[b] *ìotmhor.* [c] *gach neach.* [d] *fuidh Dhia.* [e] *dìteadh.*

a ta ar slàinte nis ni's faisge na 'nuair
a chreid sinn.
12 Tha cuid mhòr do'n oidhche
air dol tharuinn, tha an là am fagus:
uime sin cuireamaid dhinn oibre an
dorchadais, agus cuireamaid umainn
armachd[f] an t-solais.
13 Gluaiseamaid gu cubhaidh mar
anns an là; cha'n ann an ruidhteir-
eachd[g] agus am misg, no an seom-
radaireachd agus am macnus, no an
aisith agus am farmad.
14 Ach cuiribh umaibh an Tigh-
earn Iosa Criosd, agus na deanaibh
ulluchadh air son na feòla, chum *a
h-anamhianna a choimhlionadh.*

CAIB. XIV.

1 *Cha'n fheud daoine tàir a dhean-
amh, no chéile a dhìteadh air son
nithe coimhdheis: 13 ach bhi faicill-
each gun oilbheum a thoirt leo; 15
oir a ta an t-absdol a' dearbhadh gu
bheil sin mi-cheadaichte, le iomadh
reuson.*

GABHAIBH ris an neach a ta
anmhunn[h] sa' chreidimh, *ach*
ni h-ann chum deasboireachd amhar-
usach.
2 Oir a ta h-aon a' creidsinn gu'm
feud e na h-uile nithe itheadh: *ach*
ta esan a ta anmhunn ag itheadh
luibheanna.
3 Na deanadh esan a ta 'g itheadh,
tàir airsan nach 'eil ag itheadh;
agus na tugadh esan nach 'eil ag ith-
eadh, breth air an ti a dh'itheas: oir
ghabh Dia ris.
4 Cò thusa a ta toirt breth air
seirbhiseach duin' eile? d'a mhaigh-
stir féin seasaidh, no tuitidh e: seadh,
cumar suas e; oir is comasach Dia
air a chumail 'na sheasamh.
5 Tha meas aig neach air là[i] thar
là: agus tha meas aig neach eile air
gach là *mar a chéile.* Biodh làn-
dearbhadh aig gach duine 'na inntinn
féin.
6 An ti aig am bheil suim do'n là,
is ann do'n Tighearn a tha suim aige
dha; agus an ti aig nach 'eil suim
do'n là, is ann do'n Tighearn nach
'eil suim aige *dha.* An ti a ta 'g ith-
eadh, is ann do'n Tighearn a tha e
'g itheadh, oir tha e toirt buidheachais
do Dhia; agus an ti nach 'eil ag ith-
eadh, is ann do'n Tighearn nach ith
e, agus bheir e buidheachas do
Dhia.
7 Oir cha 'n'eil a h-aon againn
beo dha féin, agus cha 'n'eil a h-aon
againn a' bàsachadh dha féin.
8 Oir ma's beo dhuinn, is ann do'n
Tighearn a tha sinn beo: agus ma's
bàs duinn, is ann do'n Tighearn a tha
sinn a' bàsachadh. uime sin ma's
beatha no bàs dhuinn, is leis an Tigh-
earn sinn.
9 Oir is ann chum so a fhuair
Criosd bàs, agus a dh'éirich e, agus a
tha e beo a ris, chum gu'm biodh e
'na Thighearn air na beothaibh agus
air na marbhaibh.
10 Ach c'ar son a ta thusa a' toirt
breth air do bhràthair? no c'ar son a
ta thusa a' deanamh tarcuis air
do bhràthair? oir seasaidh sinn gu
léir am fianuis caithir-breitheanais
Chriosd.
11 Oir a ta e sgrìobhta, *Mar* is beo
mise, a deir an Tighearn, lùbaidh
gach glùn domhsa, agus aidichidh
gach teanga do Dhia.
12 Air an aobhar sin bheir gach
aon againn cunntas uime féin do
Dhia.
13 *Uime sin na tugamaid breth air
a chéile ni's mò:* ach gu ma fearr
libh a bhreth so thoirt, gun aobhar-
tuiteam no oilbheim a thoirt do
bhràthair.
14 Oir a ta fhios agam, agus is
dearbh leam anns an Tighearn Iosa,
nach 'eil ni sam bith neo-ghlan dheth
féin: ach do'n ti a mheasas ni sam
bith neo-ghlan, dhasan *a ta e* neo-
ghlan.
15 Ach ma bhios doilgheas air do
bhràthair air son bidh, a nis cha 'n'eil
thu a' gluasad a réir a' ghràidh. Na
sgrios[l] le d' bhiadh esan air son an
d'fhuiling Criosd bàs.
16 *Air an aobhar sin na labhrar*
olc mu bhur[m] maith.
17 Oir cha bhiadh agus deoch
rioghachd Dhé, ach fireantachd, agus

[f] *éididh.* [g] *anabharr.* [h] *lag.* [i] *suim aig neach do là.* [l] *cuir am
mugha.* [m] *ar.*

sìth, agus aoibhneas san Spiorad naomh.

18 Oir ge b'e ni seirbhis do Chriosd anns na nithibh so, tha e taitneach do Dhia, agus tha e dearbhta do dhaoinibh.

19 Uime sin leanamaid na nithe a bhios chum sìth [n], agus na nithe a bhios chum togail suas a chéile.

20 Na sgrios obair Dhé air son bìdh. Gu deimhin tha na h-uile nithe glan; ach is olc do'n duine sin a dh'itheas le h-oilbheum.

21 *Is* maith an ni gun fheòil itheadh, no fìon òl, no *ni air bith a dheanamh* leis am faigh do bhràthair tuisleadh no oilbheum, no leis an deanar lag e.

22 Am bheil creidimh agad? Biodh e agad dhuit féin am fianuis Dé: Is beannuichte an duine sin nach dìt e féin anns an ni sin a mheasas e ceaduichte.

23 Ach esan a ni eadar-dhealachadh [o] tha e air a dhìteadh ma dh'itheas e, a chionn nach ann o chreidimh *a tha e 'g itheadh*: oir gach ni nach 'eil o chreidimh, is peacadh e.

CAIB. XV.

1 Is còir dhoibhsan a tha laidir giùlan leosan a ta anmhunn. 2 Cha'n fheud sinn sinn féin a thoileachadh, 3 oir cha d'rinn Criosd sin, 7 ach gabhail r'a chéile, mar a rinn Criosd ruinn uile, 9 araon ris na h-Iudhachaibh agus ris na Cinneachaibh, &c.

UIME sin is còir dhuinne a ta làidir, giùlan le anmhuinneachd na muinntir sin a ta lag, agus gun sinn féin a thoileachadh.

2 Toilicheadh gach aon againn a choimhearsnach g'a mhaith chum a thogail suas.

3 Oir cha do thoilich eadhon Criosd e féin; ach a réir mar a ta e scrìobhta, Thuit toibheum [p] na muinntir sin a thug toibheum dhuit ormsa.

4 Oir ge b' iad nithe air bith a scrìobhadh roimhe so, is ann chum ar teagaisgne a scrìobhadh iad; chum trìd foighidin agus comh-fhurtachd nan scriobtuir gu'm biodh dòchas [r] againne.

5 A nis gu tugadh Dia na foighidin agus na comh-fhurtachd dhuibhse bhi dh'aon inntinn a thaobh a chéile, a réir Iosa Criosd:

6 Chum gu'm feud sibh a dh'aon inntin *agus* le aon bheul glòir a thoirt do Dhia, eadhon Athair ar Tighearna Iosa Criosd.

7 Uime sin gabhaibhse r'a chéile, eadhon mar a ghabh Criosd ruinne, chum glòire Dhé.

8 A nis a deirim, Gu robh Iosa Criosd 'na mhinisteir an timchiollghearraidh air son fìrinn Dè, chum geallanna nan aithriche a dhaingneachadh:

9 Agus chum gu'n tugadh na Cinnich glòir do Dhia air son a thròcair; a réir mar a ta e scrìobhta, Air an aobhar so aidicheam thu [s] am measg nan Cinneach, agus seinnidh mi *ceòl* do d' ainm.

10 Agus a rìs a deir e, Deanaibh gairdeachas, a Chinneacha, maille r'a phobullsan.

11 Agus a rìs, Molaibh an Tighearn, a Chinneacha uile, agus thugaibh cliu dha, a shlòigh uile.

12 Agus a rìs deir Esaias, Bithidh freumh Iese *ann*, agus an ti a dh'éireas suas chum uachdaranachd bhi aige air na Cinneachaibh, annsan cuiridh na Cinnich an dòchas.

13 A nis gu'n lìonadh Dia an dòchais sibhse do'n uile aoibhneas agus shiothchaint ann an creidsinn, chum gu'm bi sibh pailt ann an dòchas, tre chumhachd an Spioraid naoimh.

14 Agus a ta cinnt agamsa féin d'ar taobhsa, mo bhràithre, gu bheil sibhse làn do mhaitheas, air bhur lìonadh leis an uile eòlas, agus comasach mar an ceudna air a chéile a chomhairleachadh [t].

15 Gidheadh, a bhràithre, scrìobh mi d'ar ionnsuidh leis an tuilleadh dànadais, an càil-eigin, mar gu cuirinn an cuimhne sibh, air son a' ghràis a thugadh dhomhsa o Dhia,

[n] *a stiùras chum sìochaint.* [o] *a ta fuidh amharus.* [p] *masladh.* [r] *dùil, earbsa.* [s] *aidicheam dhuit, bheiream cliu dhuit.* [t] *theagasg.*

16 Ionnas gu'm bithinn a'm' mhinisteir aig Iosa Criosd do na Cinneachaibh, a' frithealadh soisgeil Dé, chum gu'm biodh tabhartas[u] nan Cinneach taitneach, air a naomhachadh leis an Spiorad naomh.

17 Uime sin tha aobhar uaill agam trìd Iosa Criosd, anns na nithibh sin a bhuineas do Dhia.

18 Oir cha bhi dànachd agam labhairt air a' bheag do na nithibh sin, nach d'oibrich Criosd leam, chum na Cinnich a dheanamh ùmhal am focal agus an gnìomh.

19 Le cumhachd chomharan agus mhìorbhuilean[a], le cumhachd Spioraid Dé; ionnas o Hierusalem agus mu'n cuairt gu Illiricum, gu'n do làn-shearmonaich mi soisgeul Chriosd.

20 Seadh, mar sin bha ro-dhéidh agam air an t-soisgeul a shearmonachadh, cha'n ann san ionad san robh Criosd air ainmeachadh, chum nach togainn *m'obair* air bunait neach eile:

21 Ach a réir mar a ta e sgrìobhta, Chi iadsan ris nach do labhradh uime: agus tuigidh iadsan, nach cuala.

22 Uime sin mar an ceudna chuireadh gu minic bacadh orm o theachd d'ar ionnsuidhse.

23 Ach a nis do bhrigh nach 'eil agam ionad ni's mò anns na criochaibh so, agus gu bheil mòr thogradh agam o cheann mòrain bhliadhnaibh teachd d'ar ionnsuidhse;

24 Ge b'e uair a thriallas mi do'n Spàinn, thig mi d'ar ionnsuidhse: oir tha dùil agam sibhse[f] fhaicinn san dol seachad, agus bhi air mo thoirt air m'aghaidh libhse chum an ionaid sin, ma bhios mi air tùs an càil-eigin air mo lìonadh le'r *comhluadarsa.*

25 Ach a nis tha mi dol gu Hierusalem, a' frithealadh do na naomhaibh.

26 Oir bu toil 'ieo-san ann am Macedonia, agus ann an Achaia, comh-roinn àraidh a dheanamh ris na naomhaibh bochda ta ann an Ierusalem.

27 Bu toil leo *gu deimhin,* agus tha iad fa fhiachaibh dhoibh. Oir ma rinneadh na Cinnich 'nan luchd comh-pairt d'an nithibh spioradailsan, is còir dhoibh ministreileachd a dheanamh dhoibhsan sna nithibh a bhuineas do'n choluinn[b].

28 Uime sin air dhomh so a chrìochnachadh, agus an uair a sheulaicheas mi an toradh so dhoibh, gabhaidh mi d'ar taobhsa[c] do'n Spàinn.

29 Agus a ta fhios agam, air dhomh teachd d'ar ionnsuidhse, gu'n d'thig mi ann an lànachd beannachaidh soisgeil Chriosd.

30 A nis guidheam oirbh, a bhràithre, air sgàth an Tighearna Iosa Criosd, agus air son gràidh an Spioraid, gu'n dean sibh gleachdad[d] maraon riumsa ann an ùrnuighibh air mo shon ri Dia;

31 Chum gu saorar mi uatha-san nach 'eil a' creidsinn ann an Iudea; agus chum gu'm bi mo sheirbhis air son[e] Ierusaleim, taitneach do na naomhaibh:

32 Chum's gu'n d'thig mi d'ar ionnsuidhse le h-aoibhneas tre thoil Dé, agus gu faigh mi suaimhneas maille ribh.

33 A nis *gu robh* Dia na sìth maille ribh uile. Amen.

CAIB. XVI.

3 Tha Pòl a' toirt orduigh do na bràithribh fàilte chur air mòran; 17 agus a' comhairleachadh dhoibh aire a thoirt do'n mhuinntir a ta togail connsaich agus a' toirt oilbheim, 21 agus an déigh iomadh beannachd a' crìochnachadh le breith-buidheachais do Dhia.

EARBAM ribh[f] Phebe ar piuthar, a ta 'na searbhanta do'n eaglais a tha ann an Cenchrea:

2 Chum's gu'n gabh sibh rithe anns an Tighearn, mar is cubhaidh do naomhaibh, agus gu'n dean sibh còmhnadh rithe anns gach gnothuch anns am bi feum aice oirbh: oir rinn i féin còmhnadh ri mòran, agus riumsa mar an ceudna.

3 Cuiribh fàilte air Priscilla agus Acuila mo chomh-oibrichean ann an Iosa Criosd:

4 (Muinntir a leag sìos am muin-

[u] *ofrail, iobairt.* [a] *Le comharaibh agus mìorbhuilibh treun.* [b] *feòlmhor.* [c] *bhur ròd-sa.* [d] *spairn.* [e] *thaobh.* [f] *Molam dhuibh.*

eal féin air son m'anamasa: d'am bheil a' toirt buidheachais cha'n e mhàin mise, ach mar an ceudna eaglaisean nan Cinneach uile.)

5 Mar an ceudna cuiribh fàilte air an eaglais a tha 'nan tighsan. Cuiribh fàilte air Epenetus a's ionmhuinn leamsa, neach is e ceud thoradh Achaia[g] do Chriosd.

6 Cuiribh fàilte air Muire, a rinn saothair mhòr air ar soinne[h].

7 Cuiribh fàilte air Andronicus agus Iunias mo luchd-dàimh agus mo chomh-phriosanaich, a tha cliuiteach am measg nan abstol, agus a bha ann an Criosd romhamsa.

8 Cuiribh fàilte air Amplias a's ionmhuinn leamsa san Tighearn.

9 Cuiribh fàilte air Urbanus ar comh-oibriche ann an Criosd, agus air Stachis fear mo ghràidhse.

10 Cuiribh fàilte air Apelles a tha dearbhta ann an Criosd. Cuiribh fàilte orrasan a tha do *theaghlach* Aristobuluis.

11 Cuiribh fàilte air Herodion mo charaid. Cuiribh fàilte orrasan do *theaghlach* Narcisuis, a tha san Tighearn.

12 Cuiribh fàilte air Triphena agus Triphòsa, *mnài* a tha saoithreachadh san Tighearn. Cuiribh fàilte air Persis *a's* ionmhuinn *leam, bean* a shaothraich gu mòr anns an Tighearn.

13 Cuiribh fàilte air Rufus a tha taghta san Tighearn, agus air a mhàthair agus mo *mhàthairse*.

14 Cuiribh fàilte air Asincritus, Phlegon, Hermas, Patrobas, Hermes, agus na bràithribh a tha maille riu.

15 Cuiribh fàilte air Philologus, agus Iulia, Nereus, agus a phiuthar, agus Olimpas, agus na naoimh uile a tha maille riu.

16 Cuiribh fàilte air a chéile le pòig naomha. Tha eaglaisean Chriosd[i] a' cur fàilte oirbh.

17 A nis guidheam oirbh, a bhràithre, comharaichibh iadsan a tha togail roinnean[l] agus a' toirt oilbheim, an aghaidh an teagaisg a dh'fhòghluim sibh; agus seachnaibh iad.

18 Oir cha 'n'eil an leithide so a' deanamh seirbhis d'ar Tighearn Iosa Criosd, ach d'am broinn féin; agus a ta iad le briathraibh milse agus le miodal a' mealladh cridheacha na muinntir sin nach 'eil olc[m].

19 Oir a ta bhur n-ùmhlachdsa[n] air teachd chum nan uile dhaoine. Uime sin a ta mise a' deanamh gairdeachais d'ar taobhsa: gidheadh b'àill leam sibhse bhi glic chum a' mhaith, ach aon-fhillte thaobh an uilc.

20 Agus bruthaidh Dia na sìothchaint Satan f'ar cosaibh gu h-aithghearr. Gràsa[o] ar Tighearna Iosa Criosd *gu robh* maille ribh. Amen.

21 Tha Timoteus mo chomh-oibriche cur fàilte oirbh, agus Lucius agus Iason agus Sosipater, mo luchd-dàimhe.

22 Tha mise Tertius, a sgrìobh an litir *so*, a' cur fàilte oirbh san Tighearn.

23 Tha Gaius, a tha toirt aoidheachd dhomhsa agus do'n eaglais uile, a' cur fàilte oirbh. Tha Erastus stiùbhard a' bhaile a' cur fàilte oirbh, agus Cuartus bràthair.

24 Gràsa ar Tighearna Iosa Criosd *gu robh* maille ribh uile. Amen.

25 A nis dhasan a tha comasach air sibhse a dhaingneachadh a réir mo shoisgeilse, agus searmonachaidh Iosa Criosd, (a réir foillseachaidh an rùin-diomhair, a bha'm folach o thoiseach an domhain,

26 Ach a dh'fhoillsicheadh a nis, agus tre scriobtuiribh nam fàidh a réir àithne an Dé bhith-bhuain, a tha air a dheanamh aithnichte do na h-uile chinneachaibh chum ùmhlachd a' chreidimh.)

27 Do Dhia *a tha* mhàin glic, *gu robh* glòir trìd Iosa Criosd gu sìorruidh. Amen.

[g] *Asia.* [h] *air bhur sonsa.* [i] *eaglaisean Chriosd (uile).* [l] *sgaradh, aimhréite, chonnsaichean.* [m] *a ta neo-lochdach.* [n] *cliu bhur n-ùmhlachdsa.* [o] *Deadh-ghean.*

CEUD LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN CORINTIANACH.

CAIB. I.

1 *An déigh fàilte agus breith buidh-*
eachais, 12 *tha e 'gan earalachadh*
bhi dh'aon inntinn, agus 'gan cron-
achadh air son an aimhreite. 18
Sgriosaidh Dia gliocas nan daoine
eagnuidh le amaideachd searmon-
achaidh ; &c.

POL a ghairmeadh *gu bhi* 'na abstol do Iosa Criosd, tre thoil Dé, agus Sostenes *ar* bràthair,

2 Chum eaglais Dé a ta ann an Corintus, chum na droinge a tha air an naomhachadh ann an Iosa Criosd, air an gairm *gu bhi* 'nan naoimh, maille riusan uile a tha gairm air ainmear Tighearna Iosa Criosd anns gach àit, an *Tighearna-san*, agus ar *Tighearna-ne.*

3 Gràsa dhuibhse, agus sìth o Dhia ar n-Athair, agus o'n Tighearna Iosa Criosd.

4 Tha mi toirt buidheachais do Dhia a ghnàth d'ar taobhsa, air son gràsa Dhé a thugadh dhuibhse ann an Iosa Criosd ;

5 Air son gu'n d'rinneadh saibhir leis-san sibh anns gach uile ni, anns gach ùr-labhradh, agus *anns* gach eòlas :

6 A réir mar a dhaingnicheadh fianuis Chriosd annaibh :

7 Ionnas nach 'eil sibh an déidhlàimh ann an tiodhlac sam bith ; a' feitheamh ri foillseachadh ar Tighearna Iosa Criosd,

8 Neach mar an ceudna a dhaingnicheas sibh gus a' chrìch, *chum's gu'm bi sibh* neo-lochdach ann an là ar Tighearna Iosa Criosd.

9 Tha Dia fìrinneach, leis an do ghairmeadh sibh chum comh-chomunn a mhic Iosa Criosd ar Tighearna.

10 A nis guidheam oirbh, a bhràithre, trìd ainme ar Tighearna Iosa Criosd, gu'n labhair sibh uile an t-aon ni, agus nach bi roinnean[r] 'nar measg ; ach gu'm bi sibh ceangailte r'a chéile gu diongalta ann an aon inntinn, agus ann an aon bharail[s].

11 Oir nochdadh dhomhsa, a bhràithre, mu'r timchiollsa, leo-san *a tha do theaghlach* Chloe, gu bheil comhstri[t] 'nar measg.

12 A nis a deiream so, gu'n abair gach aon agaibh, Is le Pòl mise[u], agus is le Apollos mise, agus is le Cephas mise, agus is le Criosd mise.

13 Am bheil Criosd air a *roinn ?* an e Pòl a cheusadh air bhur *son ?* no an ann an ainm Phòil a bhaisteadh sibh ?

14 Tha mi toirt buidheachais do Dhia, nach do bhaist mi h-aon agaibh, ach Crispus agus Gaius :

15 Air eagal gu'n abradh neach, gu'n do bhaist mi a'm' ainm féin.

16 Agus bhaist mi mar an ceudna teaghlach Stephanais, a thuilleadh air so, ni'm fios domh an do bhaist mi aon neach eile.

17 Oir cha do chuir Criosd mi a bhaisteadh, ach a shearmonachadh an t-soisgeil ; cha'n ann an *gliocas* focail, chum nach cuirte crann-ceusaidh Chriosd an neo-brigh.

18 Oir a ta searmonachadh a' chroinn-cheusaidh 'na amaideachd dhoibhsan a chaillear ; ach dhuinne a shlànuichear, is e cumhachd Dhé e.

19 Oir a ta e scrìobhta, Sgriosaidh mi gliocas nan *daoine glice*, agus cuiridh mi air cùl tuigse nan *daoine* tuigseach.

20 C'àit am bheil an *duine* glic ? c'àit am bheil an scrìobhuiche ? c'àit am bheil deasboir an t-saoghail so

[r] *easaonachda, sgaraidh.* [s] *bhreth.* [t] *connsachadh.*
[u] *Is deisciobul do Phòl mise.*

Nach do rinn Dia gliocas an t-saogh-
ail so amaideach ?
21 Oir an uair, ann an gliocas Dé,
nach b'aithne do'n t-saoghal so Dia
tre ghliocas, bu toil le Dia le amaid-
eachd an t-searmonachaidh iadsan a
shlànuchadh[a] a ta creidsinn.
22 Oir a ta na h-Iudhaich ag iarr-
aidh comharaidh, agus a ta na Greug-
aich a' sireadh gliocais :
23 Ach a ta sinne a' searmonach-
adh Chriosd air a cheusadh, 'na cheap-
tuislidh do na h-Iudhachaibh, agus do
na Greugachaibh 'na amaideachd ;
24 Ach dhoibhsan a ta air an
gairm, araon Iudhaich agus Greug-
aich, Criosd cumhachd Dhé, agus
gliocas Dhé :
25 Do bhrigh gur glice amaideachd
Dhé na daoine, agus gur treise an-
mhuinneachd Dhé na daoine.
26 Oir chi sibh féin bhur gairm, a
bhràithre, nach iomadh iad *dhibh* a ta
glic a thaobh na feòla, nach iomadh
cumhachdach, nach iomadh uasal.
27 Ach roghnaich Dia nithe am-
aideach an t-saoghail so, chum gu'n
cuireadh e nàire air na daoinibh glice ;
agus ròghnaich Dia nithe anmhunna
an t-saoghail, chum gu'n cuireadh e
gu nàire na nithe cumhachdach ;
28 Agus nithe an-uasal an t-saogh-
ail, agus nithe tarcuiseach ròghnaich
Dia, agus na nithe nach 'eil ann,
chum gu'n cuireadh e na nithe a ta
ann, an neo brigh :
29 Ionnas nach deanadh feòil sam
bith uaill 'na fhianuis.
30 Ach uaithesan a ta sibhse ann
an Iosa Criosd, neach a rinneadh
dhuinne le Dia 'na ghliocas, 'na fhìr-
eantachd, 'na naomhachd, agus 'na
shaorsa :
31 Ionnas, a réir mar a ta e scrìobh-
ta, An ti a ni uaill, deanadh e uaill
anns an Tighearn.

CAIB. II.

1 Tha e cur an céill ge nach 'eil a shearmonachadh ann an oirdheirceas cainnte, 4 no ann an gliocas dhaoine ; 5 gidheadh gu bheil e a' coimh-sheasamh ann an cumhachd Dhé ; &c.

AGUS an uair a thainig mise d'ar
ionnsuidhse, a bhràithre, cha
b'ann le oirdheirceas cainnte, no glioc-
ais a thainig mi, a' cur an céill duibh
teisteis Dhé.
2 Oir chuir mi romham gun eòlas
a ghabhail[d] air ni sam bith 'nar
measg, ach air Iosa Criosd, agus esan
air a cheusadh.
3 Agus bha mi 'nar measg ann an
anmhuinneachd, agus ann an eagal,
agus am mòr chrith.
4 Agus cha *robh* m'fhocal agus mo
shearmonachadh ann am briathraibh
mìlse[c] gliocais daonna, ach ann an
làn dearbhadh an Spioraid, agus a'
chumhachd :
5 Chum gu'm biodh bhur creid-
imhse ni h-ann an gliocas dhaoine,
ach an cumhachd Dhé.
6 Ach gidheadh tha sinn a' labh-
airt gliocais am measg nan daoine
iomlan : ach cha'n e gliocas an t-saogh-
ail so, no uachdarana an t-saoghail so,
a théid an neo-brigh.
7 Ach tha sinn a' labhairt gliocais
Dé ann an rùn-dìomhair, a' *ghliocais*
sin *a bha* folaichte, a dh'orduich Dia
roimh an t-saoghal[d] chum ar glòir-ne.
8 An gliocas nach b'aithne do aon
neach do uachdaranaibh an t-saoghail
so : oir nam b'aithne dhoibh e, cha
cheusadh iad Tighearn na glòire.
9 Ach a réir mar a ta e scrìobhta,
Cha'n fhaca sùil, agus cha chuala
cluas, agus cha d'thainig ann an
cridhe duine, na nithe a dh'ulluich
Dia dhoibhsan aig am bheil gràdh
dha.
10 Ach dh'fhoillsich Dia dhuinne
iad le a Spiorad féin : oir tha an
Spiorad a' rannsachadh nan uile nithe,
eadhon, nithe doimhne Dhé.
11 Oir cò an duine d'an aithne
nithe duine, ach do spiorad an duine
a ta ann ? mar sin cha 'n'eil fios aig
neach sam bith air nithibh Dhé, ach
aig Spiorad Dhé.
12 A nis fhuair sinne, cha'n e
spiorad an t-saoghail, ach an Spiorad
a ta o Dhia ; chum gu'm biodh fios
nan nithe sin againn a thugadh dhuinn
gu saor o Dhia.

[a] *a shaoradh, a thearnadh.* [b] *aithne a bhi agam.* [c] *tairngeach, e...iteach.* [d] *roimh na linnibh.*

13 Nithe mar an ceudna a ta sinn
a' labhairt, cha'n ann am briathraibh
a theagaisgeas gliocas dhaoine, ach am
briathraibh a theagaisgeas an Spior-
ad naomh; a' coimh-meas nithe
spioradail ri nithibh spioradail[c].
14 Ach cha ghabh an duine nàdurra
ri nithibh Spioraid Dé: oir is amu-
aideachd leis iad; agus cha 'n'eil e'n
comas da eòlas a ghabhail *orra*, do
bhrigh gur ann air mhodh spioradail
a thuigear[f] iad.
15 Ach bheir an duine spioradail
breth air na h-uile nithibh, gidheadh
cha 'n'eil e féin fuidh bhreth duine
sam bith.
16 Oir cò d'am b'aithne inntinn an
Tighearna, *agus* a theagaisgeas e?
ach tha inntinn Chriosd againne.

CAIB. III.

*2 Tha bainne iomchuidh air son cloinne.
3 Tha stri agus aimhréite 'nan comh-
ara cinnteach air inntinn fheòlmhoir.
7 Cha 'n'eil anns an ti a shuidhich-
eas, agus anns an ti a dh'uisgich-
eas, ach neo-ni. 9 Is comh-oib-
richean ministeire an t-soisgeil do
Dhia. 11 'Se Criosd an t-aon bhun-
adh. 16 Is iad daoine teampuill
Dhé, 17 a' s còir a choimhead
naomha. 19 Is amaideachd aig
Dia gliocas an t-saoghail so.*

AGUS, a bhràithre, cha' n fheud-
ainnse labhairt ribhse mar ri
daoinibh spioradail, ach mar ri *daoin-
ibh* feòlmhor, amhuil ri naoidheanaibh
ann an Criosd.
2 Bheathaich mi le bainne sibh,
agus cha'n ann le biadh: oir fathast
cha b'urradh sibh *a ghabhail*, agus a
nis féin cha'n urradh sibh.
3 Oir a ta sibh fathast feòlmhor:
oir a thaobh gu bheil farmad 'nar
measg, agus stri, agus aimhréite, nach
'eil sibh feòlmhor, agus ag imeachd
mar dhaoine?
4 Oir an uair a deir neach, Is le
Pòl mise, agus neach eile, *Is* le
Apollos mise, nach 'eil sibh feòl-
mhor?
5 Cò e ma seadh Pòl, agus cò e
Apollos, ach ministeirean tre'n do
chreid sibh, eadhon mar a thug an
Tighearn do gach aon?
6 Shuidhich mise, dh'uisgich A-
pollos: ach 'se Dia a thug am fàs.
7 Uime sin ma seadh, cha'n'eil
anns an ti a shuidhicheas no anns an
ti a dh'uisgicheas, brigh sam bith;
ach ann an Dia a ta toirt an fhàis.
8 An ti a shuidhicheas, agus an ti
a dh'uisgicheas, is aon iad agus
gheibh gach aon a dhuais féin a réir
a shaothair féin.
9 Oir is comh-luchd-oibre do Dhia
sinne: is sibhse treabhachas[g] Dhé,
is sibh aitreabh Dhé.
10 A réir grais Dé a thugadh
dhomhsa, mar fhear-togail-aitreabh
glic leag mi am bunadh, agus a ta neach
eile a'togail air, ach thugadh gach
neach an aire cionnus a thogas e air.
11 Oir bunait[h] eile cha'n urradh
duine sam bith a chur, ach *am bunait*
a chuireadh *a chéana*, eadhon Iosa
Criosd.
12 A nis ma thogas neach air a'
bhunadh so, òr, airgiod, clacha luach-
mhor, fiodh, feur, connlach;
13 Nithear obair gach aon duine
follaiseach: oir nochdaidh an là i, do
bhrigh gu'm foillsichear i le teine;
agus dearbhaidh an teine obair gach
aon, ciod is gnè dh'i.
14 Ma dh'fhanas obair neach sam
bith a thog e air, gheibh e duais.
15 Ma loisgear obair neach sam
bith, fuilgidh e call: ach saorar e
féin; gidheadh mar tre theine.
16 Nach 'eil fhios agaibh gur sibh
teampull Dé, agus gu bheil Spiorad
Dé 'na chòmhnuidh annaibh?
17 Ma thruailleas neach air bith
teampull Dhé, sgriosaidh Dia an ti
sin: oir a ta teampull Dhé naomha,
agus is sibhse e.
18 Na mealladh neach air bith e
féin: ma shaoileas neach air bith 'nar
measg *e féin* bhi glic san t-saoghal so,
biodh e 'na amadan, chum's gu'm bi
e glic.
19 Oir is amaideachd aig Dia
gliocas an t-saoghail so: oir a ta e
scrìobhta, Glacaidh e na daoine glice
'nan innleachdaibh féin.

[c] *a' mìneachadh nithe spioradail am* briathraibh *spioradail.* [f] *bhreithnichear, mhothaichear.* [g] *tuathanachd.* [h] *bunachar, bonn.*

20 Agus a rìs, Is aithne do'n Tighearn smuainte nan daoine glice, gur dìomhain iad.

21 Uime sin na deanadh neach air bith uaill a daoinibh: oir is leibhse na h-uile nithe:

22 Ma 'se Pòl, no Apollos, no Cephas, no an saoghal, no beatha, no bàs, no nithe a ta làthair, no nithe a ta ri teachd; is leibhse iad uile;

23 Agus is le Criosd sibhse; agus is le Dia Criosd.

CAIB. IV.

1 Ciod e 'am meas a bhuineadh do
dhaoinibh bhi aca air ministeiribh.
7 Cha 'n'eil againn ni air bith ach
na fhuair sinn. 9 Na h-abstoil
'nam ball-amhairc do'n t-saoghal,
do ainglibh, agus do dhaoinibh, 13
mar shal agus anabas an t-saoghail;
15 gidheadh is iad ar n-aithriche
ann an Criosd, 16 agus bu chòir
dhuinn an leanmhuinn.

BIODH a shamhuil so do mheas aig duine dhinne, mar mhinisteiribh Chriosd, agus *mar* stiùbhardaibh[i] rùna-dìomhair Dhé.

2 Os bàrr iarrar ann an stiùbhardaibh, gu faighear neach dìleas.

3 Ach agamsa is so-bheag an ni gu'n d'thugtadh breth orm leibhse, no le breitheanas duine: seadh, cha 'n'eil mi toirt breth orm féin.

4 Oir cha 'n fhios domh ni sam bith do m' thaobh féin, gidheadh cha 'n'eil mi le so air m'fhìreanachadh: Ach is e an Tighearn an ti a bheir breth orm.

5 Uime sin na tugaibh breth air ni sam bith roimh an àm, gus an d'thig an Tighearn, neach fathaon a bheir gu soilleireachd nithe folaichte an dorchadais, agus a dh'fhoillsicheas comhairlean nan cridheacha: agus an sin gheibh gach neach cliu o Dhia.

6 Agus, a bhràithre, ghabh mi na nithe so a'm ionnsuidh féin, agus a dh'ionnsuidh Apollois ann an samhladh[l], air bhur sonsa: chum gu fòghlumadh sibh uainne, gun bharail a bhi agaibh *air daoinibh* os ceann na bheil sgrìobhta, chum nach biodh a h-aon agaibh air a shéideadh suas air son aon duine an aghaidh duin' eile.

7 Oir cò tha deanamh eadar-dhealachaidh ortsa *o neach eile?* Agus ciod e a ta agad nach d'fhuair thu? a nis ma fhuair thu e, c'ar son a ta thu deanamh uaill mar nach faigheadh tu e?

8 A nis tha sibh sàitheach, a nis rinneadh saibhir sibh, rioghaich sibh as ar n-eugmhaisne: Agus b'fhearr leam gu'm bu righre sibh, chum gu'm biodhmaidne 'nar righribh maille ribh.

9 Oir is i mo bharail gu'n do chuir Dia sinne na h-abstoil a mach fa dheireadh, mar dhroing *a ta* air an orduchadh chum bàis. Oir rinneadh sinn 'nar ball-amhairc[m] do'n t-saoghal, agus do ainglibh, agus do dhaoinibh.

10 *Is* amadain sinne air son Chriosd, ach *a ta* sibhse glic ann an Criosd: *tha* sinne lag, ach *a ta* sibhse làidir: *a ta* sibhse ann an urram, ach sinne ann an eas-urram.

11 Gus an uair so féin, tha sinn araon ocrach, agus ìotmhor, agus lomnochd, agus air ar bualadh do dhornaibh, agus gun aon àite-còmhnuidh seasmhach againn;

12 Agus ri saothair, ag oibreachadh le'r làmhaibh féin: Air fulang anacainnt dhuinn, tha sinn a' beannachadh: 'nuair a gheur-leanar sinn, tha sinn 'ga fhulang:

13 Air faghail toibheim dhuinn, tha sinn a' guidheadh: rinneadh sinn mar shalachar an t-saoghail, mar anabas nan uile nithe gus an là'n diugh:

14 Ni'n sgrìobham na nithe so a chur nàire oirbh, ach mar mo chloinn ghràdhaich a ta mi *'gar* comhairleachadh.

15 Oir ma ta deich mìle luchd-teagaisg agaibh ann an Criosd, gidheadh *cha 'n'eil agaibh* mòran aithriche: oir ann an Iosa Criosd ghin mise sibh trìd an t-soisgeil.

16 Uime sin guidheam oirbh, bithibh 'nar luchd-leanmhuinn ormsa[n].

17 Chum na crìche so chuir mi

i *luchd-frithealaidh air.* l *coslas.* m *sealladh, speuclair.* n *air m'eisiomplairse.*

Timoteus d'ar ionnsuidh, neach a ta 'na mhac gràdhach dhomh, agus dìleas san Tighearna, neach a chuireas an cuimhne dhuibh mo shligheansa a ta ann an Criosd, a rèir mar a ta mi teagasg anns gach àit anns gach eaglais.

18 A nis a ta cuid air an séideadh suas mar nach d'thiginn d'ar ionnsuidh.

19 Gidheadh thig mi d'ar ionnsuidh gu h-aithghearr, ma's toil leis an Tighearn, agus bithidh fios agam, cha'n ann air cainnt na muinntir a ta air an séideadh suas, ach air an cumhachd.

20 Oir cha'n ann am focal *a ta* rioghachd Dhé, ach ann an cumhachd.

21 Ciod is àill leibh? An d'thig mi d'ar ionnsuidh le slait, no ann an gràdh, agus *ann* an spiorad na macantachd[o]?

CAIB. V.

1 *A ta an duine feòlmhor ni's mò
'na chùis-nàire dhoibh, na 'na
aobhar gairdeachais. 7 Is còir an
t-seann gheur-thaois a ghlanadh
a mach. 10 Is còir peacaich
ghràineil a sheachnadh.*

THA e air aithris gu coitchionn[p] *gu bheil* neo-ghloine[r] 'nar measg, agus a leithid sin do neo-ghloine, nach 'eil uiread as air ainmeachadh am measg nan Cinneach, gu'm biodh aig neach bean athar.

2 Agus a ta sibh air bhur séideadh suas, agus cha d'rinn sibh bròn mar bu chòir, chum gu tugtadh air falbh uaibh am fear a rinn an gnìomh so.

3 Oir gu deimhin air dhomhsa bhi uaibh an corp, ach a làthair agaibh an spiorad, thug mi breth cheana, mar gu bithinn a làthair, air an neach a rinn so mar so;

4 An ainm ar Tighearna Iosa Criosd, air dhuibhse, agus do m' spioradsa bhi cruinn an ceann a chéile, maille ri cumhachd ar Tighearna Iosa Criosd,

5 A shamhuil so do dhuine a thoirt thairis do Shatan chum sgrios na feòla, chum gu'm bi an spiorad air a shaoradh[s] ann an là an Tighearna Iosa.

6 Cha *'n'eil* bhur n-uaill maith: nach 'eil fhios agaibh gu'n goirtich[t] beagan do thaois ghoirt[u] am meall uile?

7 Glanaibh a mach uime sin an t-seann thaois ghoirt, chum gu'm bi sibh 'nar meall nuadh, mar a ta sibh neo-ghoirtichte. Oir a ta eadhon Criosd ar n-*uan* càisge air ìobradh air ar son.

8 Uime sin cumamaid an fhéill[a], na b'ann le seann thaois ghoirt, no le taois ghoirt a' mhìoruin agus an uilc; ach le *aran* neo-ghoirtichte an treibhdhireis agus na fìrinn.

9 Scrìobh mi d'ar ionnsuidh ann an litir, gun chomhluadar a bhi agaibh ri luchd neo-ghloine[b].

10 Gidheadh ni h-ann gu h-uile ri luchd neo-ghloine an t-saoghail so, no ri luchd sainnt, no luchd foireigne[c], no luchd ìodhol-aoraidh; oir an sin b'éigin duibh dol a mach as an t-saoghal.

11 Ach a nis scrìobh mi d'ar ionnsuidh, gun chomhluadar a ghleidheadh, ma ta neach air bith d'an goirear bràthair 'na fhear-neo-ghloine, no sanntach, no 'na fhear-ìodhol-aoraidh, no 'na fhear-anacainnt, no 'na mhisgeir, no 'na fhear-foireigne, maille r'a leithid so do dhuine gun uiread as biadh itheadh.

12 Oir ciod e mo ghnothuchsa breth a thoirt orrasan a ta am muigh? nach 'eil sibhse a' toirt breth air an droing a ta stigh?

13 Ach a ta Dia a' toirt breth orrasan a ta 'n leth muigh. Uime sin cuiribh air falbh an droch dhuine *sin* as bhur meadhon féin[d].

CAIB. VI.

1 *Cha'n fhoud na Corintianaich
dragh a chur air am bràithribh
le'n agairt chum lagha, 6 gu
h-àraidh an làthair nan anacreid-*

[o] *ceannsachd.* [p] *cumanta.* [r] *strìopachas.* [s] *shàbhaladh, thearnadh.* [t] *geuraich.* [u] *gheur-thaois.* [a] *an fhéisd.* [b] *strìopachais.* [c] *reubainn, anacothrom.* [d] *as bhur cuideachd.*

each. 9 *Cha sealbhuich na neo-*
fhìreanaich rioghachd Dhé. 15
'S iad ar cuirp buill Chriosd, 19
agus teampuill an Spioraid naoimh:
16 *Uime sin cha'n fheudar an*
truailleadh.

AM bheil a chridh' aig aon neach agaibh, aig am bheil cùis an aghaidh duin' eile, dol fuidh bhreitheanas nan daoine eucorach, agus ni h-ann fuidh *bhreitheanas* nan naomh?

2 Nach 'eil fhios agaibh gu'n toir na naoimh breth air an t-saoghal? agus ma bheirear breth air an t-saoghal leibhse, an e nach fiu sibh bhi 'nar breithibh air na cùisibh a's lugha?

3 Nach 'eil fhios agaibh gu'n toir sinne breth air ainglibh? cia mò na sin air nithibh a bhuineas do'n bheatha so?

4 Uime sin ma ta breitheanais[e] agaibh mu thimchioll nan nithe sin a bhuineas do'n bheatha so, cuiribh 'nan suidhe *chum breitheanais* an dream a's lugha meas anns an eaglais.

5 Chum bhur nàire labhram. An ann mar sin nach 'eil aon duine glic 'nar measg? *nach eil* fiu a h-aon a's urradh breth a thoirt eadar a bhràithre?

6 Ach a ta bràthair a' dol gu lagh le bràthair, agus so an làthair nan anacreideach.

7 A nis uime sin a ta gu cinnteach lochd 'nar measg, do bhrigh gu bheil sibh a' dol gu lagh r'a chéile: c'ar son nach fearr leibh eucoir fhulang? c'ar son nach fearr leibh calldach a ghabhail?

8 Gidheadh a ta sibh a' deanamh eucoir agus dìobhail[f], agus sin air *bhur* bràithribh?

9 Nach 'eil fhios agaibh nach sealbhaich luchd deanamh na h-eucorach rioghachd Dhé? Na meallar sibh, cha sealbhaich luchd-strìopachais, no luchd-ìodhol-aoraidh, no luchd-adhaltrannais, no luchd-macnuis, no na daoine a ta ciontach do neo-ghloine mhi-nàdurra.

10 No gaduichean, no daoine sanntach, no misgeirean, no luchd-anacainnt, no luchd-foreigne, rioghachd Dhé.

11 Agus mar so bha cuid dibhse: ach a ta sibh air bhur n-ionnlad, ach a ta sibh air bhur naomhachadh; ach a ta sibh air bhur fìreanachadh an ainm an Tighearna Iosa, agus tre Spiorad ar Dé-ne.

12 Tha na h-uile nithe ceadaichte dhomhsa, ach cha 'n'eil na h-uile nithe iomchuidh[g]: tha na h-uile nithe ceadaichte dhomh, ach cha chuirear mi fuidh chumhachd ni sam bith.

13 *Tha* am biadh air son na bronn, agus a' bhrù air son a' bhidh: ach sgriosaidh Dia faraon so agus sud. A nis cha 'n ann do neo-ghloine a tha an corp, ach do'n Tighearn: agus an Tighearn do'n chorp.

14 Agus thog Dia faraon an Tighearn suas, agus togaidh e sinne suas trìd a chumhachd féin mar an ceudna.

15 Nach 'eil fhios agaibh, gur iad bhur cuirp buill Chriosd? uime sin an gabh mise buill Chriosd, agus an dean mi buill strìopaiche dhiubh? Nar leigeadh Dia.

16 An e nach 'eil fios agaibh, an ti sin a tha ceangailte ri strìopaich, gur aon chorp *rithe* e? Oir (a deir e) bithidh dithis 'nan aon fheòil.

17 Ach an ti a tha ceangailte ris an Tighearn, is aon Spiorad *ris* e.

18 Teichibh o strìopachas. Tha gach aon pheacadh a ni duine an leth muigh do'n chorp: ach an ti a ni strìopachas, tha e peacachadh an aghaidh a chuirp féin.

19 An e nach 'eil fhios agaibh gur e bhur corp teampull an Spioraid naoimh *a ta* annaibh, a ta agaibh o Dhia, agus cha leibh féin sibh?

20 Oir cheannachadh le luach sibh: uime sin thugaibh glòir do Dhia le bhur corp, agus le bhur spiorad, a's le Dia.

CAIB. VII.

1 *Mu phòsadh,* 4 *leigheas an strìop-*
achais; 10 *agus nach bu chòir do*
bhannaibh-pòsaidh bhi air am fasg-
ladh air bheag aobhair. 18 *Is cóir*

e *caithriche-breitheanais.* f *diùbhail.* g *tarbhach.*

do gach duine bhi toilichte leis a
ghairm. 25 C'ar son is còir rogh-
uinn a dheanamh do òigheachd:
35 na reusoin air son am bu chòir
pòsadh, no gun phòsadh.

ANIS a thaobh nan nithe mu'n
do scrìobh sibh a m' ionnsuidh:
Is maith do fhear gun bheantuinn
ri mnaoi.
2 Gidheadh, chum strìopachas *a*
sheachnadh, biodh a bhean féin aig
gach fear, agus aig gach mnaoi a fear
féin.
3 Thugadh am fear an deadh-
ghean dligheach do'n mhnaoi; agus
a' bhean mar an ceudna do'n fhear.
4 Cha 'n'eil comas a cuirp féin
aig a' mhnaoi, ach aig an fhear:
agus mar an ceudna cha 'n'eil comas
a chuirp féin aig an fhear, ach aig a'
mhnaoi.
5 Na cumaibh bhur dlighe o
chéile, ach le toil a chéile rè tamuill,
chum sibh féin a thoirt do throsgadh
agus do ùrnuigh; agus thigibh cuid-
eachd a rìs, chum nach buair Satan
sibh air son bhur neo-gheamnuidh-
eachd.
6 Ach labhram so mar ni cead-
aichte [h], *agus* cha'n ann mar àithne.
7 Oir bu mhiann leam gu'm biodh
na h-uile dhaoine mar mi féin:
gidheadh a ta a thiodhlac féin aig
gach duine o Dhia, aig aon neach
mar so, agus aig neach eile mar sud.
8 Uime sin a deiream ris an droing
nach 'eil pòsda agus ris na bantrach-
aibh, Is maith dhoibh ma dh'fhanas
iad eadhon mar a ta mise.
9 Gidheadh mur fheudar leo iad
féin a ghleidheadh *geamnuidh*, pòsadh
iad: oir is fearr pòsadh na losgadh.
10 Agus dhoibhsan a ta pòsda
àithneam, *gidheadh* cha mhise, ach
an Tighearn, gun a bhean a dhealach-
achadh r'a fear:
11 Ach ma dhealaicheas i, fanadh
i gun phòsadh, no biodh i réidh r'a
fear: agus na cuireadh am fear
uaith *a* bhean.
12 Ach ris a' chuid eile a
deireamsa, cha'n e an Tighearn, Ma
bhios aig bràthair sam bith bean
anacreideach i, agus gu bheil i
toileach còmhnuidh a ghabhail maille
ris, na cuireadh e uaith i.
13 Agus a' bhean aig am bheil
fear anacreideach, agus gu bheil esan
toileach còmhnuidh a ghabhail maille
rithe, na cuireadh i uaipe e [l].
14 Oir a ta am fear anacreideach
air a naomhachadh leis a' mhnaoi [m],
agus a ta a' bhean anacreideach air a
naomhachadh leis an fhear [n]: no
bhiodh bhur clann neo-ghlan; ach a
nis a ta iad naomha.
15 Ach ma dh'fhalbhas am *fear*
anacreideach, falbhadh e. Cha n'eil
bràthair no piuthar fa dhaorsa 'nan
leithidibh sin do *chùisaibh*: ach
ghairm Dia sinne chum sìth.
16 Oir ciod am fios a ta agadsa,
O bhean, nach slànuich [o] thu t'fhear?
no ciod am fios a ta agadsa, O fhir,
nach slànuich thu *do* bhean?
17 Ach a réir mar a roinn Dia ris
gach duine, mar a ghairm an Tighearn
gach aon, mar sin gluaiseadh e: agus
mar sin a ta mise 'g orduchadh anns
na h-eaglaisibh uile.
18 An do ghairmeadh neach sam
bith agus e timchioll-ghearrta? na
deanar e neo-thimchioll-ghearrta: an
do ghairmeadh neach sam bith gun e
bhi timchioll-ghearrta? na timchioll-
ghearrar e.
19 Cha 'n'eil éifeachd san tim-
chioll-ghearradh, agus cha 'n'eil
éifeachd san neo-thimchioll-ghearr-
adh, ach *ann an* coimhead àitheanta
Dhé.
20 Fanadh gach aon anns a' ghairm
anns an do ghairmeadh e.
21 An do ghairmeadh thu a'd'
thraill [p]? na biodh suim agad dheth;
ach ma dh'fhaodas tu bhi saor, gu ma
h-e sin do roghainn.
22 Oir an ti a ghairmeadh san
Tighearn 'na thraill, is duine saor an
Tighearna e: mar an ceudna an ti a
ghairmeadh *agus e saor*, is e seirbhis-
each [r] Chriosd e.
23 Cheannaicheadh air luach sibh;
na bithibh 'nar traillibh do dhaoinibh.

[h] *mar chomhairle.* [i] *mhi-chreidmheach, gun chreidimh.* [l] *no fàgadh i e.* [m] *sa' mhnaoi.* [n] *san fhear.* [o] *saor, sàbhail.* [p] *a'd' dhaor-òglach, a'd' sheirbhiseach.* [r] *daor-òglach.*

24 A bhràithre, san staid anns an
do ghairmeadh gach neach, an sin
fanadh e maille ri Dia.
25 A nis a thaobh òighean, cha
'n'eil àithne agam o'n Tighearn:
gidheadh bheiream mo bhreth, mar
neach a fhuair tròcair o'n Tighearn
gu bhi dìleas.
26 Measam uime sin gu bheil so
maith air son na teanntachd[s] a ta
làthair, *a deiream*, gu *bheil e* maith do
dhuine bhi mar sin.
27 Am bheil thu ceangailte ri
mnaoi? na iarr fuasgladh. Am bheil
thu fuasgailte o mhnaoi? na iarr bean.
28 Ach ma phòsas tu, cha do
pheacaich thu; agus ma phòsas òigh,
cha do pheacaich i: gidheadh, bithidh
aig an leithidibh so trioblaid san
fheòil; ach caomhnam sibh.
29 Ach a deiream so, a bhràithre,
gu bheil an aimsir goirid sna bheil ri
teachd: ionnas faraon gu'm bi iadsan
aig am bheil mnài, mar nach biodh
mnài aca;
30 Agus iadsan a ta ri caoidh, mar
nach biodh iad ri caoidh; agus iadsan
a ta ri gairdeachas, mar mhuinntir
nach 'eil ri gairdeachas; agus iadsan
a ta ri ceannachd, mar *dhaoine* nach
'eil a' sealbhachadh:
31 Agus iadsan a ta gnàthachadh
an t-saoghail so, mar dhroing nach
'eil 'ga mhi-ghnàthachadh[t]: oir théid
sgiamh[u] an t-saoghail so seachad.
32 Ach b'àill leam sibhse bhi gun
ro-chùram. An ti nach 'eil pòsda,
bithidh cùram nan nithe sin a
bhuineas do'n Tighearn air, cionnus
a thoilicheas e an Tighearn:
33 Ach an ti a ta pòsda, bithidh
cùram nithe an t-saoghail air, cionnus
a dh'fheudas e a bhean a thoileachadh.
34 Tha *mar an ceudna* eadar-
dhealachadh eadar bean agus òigh:
tha cùram oirre-se nach 'eil pòsda
mu nithibh an Tighearna, chum's
gu'm bi i naomh, faraon 'na corp
agus 'na spiorad; ach bithidh cùram
air a' mhnaoi a ta pòsda mu nithibh
an t-saoghail, cionnus a dh'fheudas i
toil a fir a dheanamh.
35 Agus so labhram chum bhur
tairbhe féin, cha'n ann chum gu'n
cuirinn ribe[a] oirbh, ach a chum an
ni sin a ta ciatfach[b], agus gu'm feith-
eadh sibh air an Tighearn gun bhuair-
eadh.
36 Ach ma shaoileas duine sam
bith gu bheil e 'ga ghiùlan féin gu
mi-chiatfach thaobh a mhaighdin, ma
chaidh blàth a h-aimsir thairis, agus
gur còir a dheanamh mar sin, deanadh
e na's àill leis, cha 'n'eil e a' peacach-
adh: pòsadh iad.
37 Gidheadh, an ti sin a tha
suidhichte gu daingean 'na chridhe,
agus gun éigin sam bith air, ach aig
am bheil cumhachd air a thoil féin,
agus a chuir roimhe 'na chridhe a
mhaighdean a choimhead, tha e a'
deanamh gu maith.
38 Uime sin ma seadh, a ta an ti
a bheir seachad am pòsadh *i*, a' dean-
amh gu maith; ach a ta an ti nach
tabhair ann am pòsadh *i*, a' deanamh
ni's fearr.
39 Tha bhean ceangailte leis an
lagh rè na h-ùine a's beo d'a fear:
ach ma gheibh a fear bàs, tha i saor
gu pòsadh ri aon neach a's toil leatha;
a mhàin anns an Tighearn.
40 Ach tha i ni's sona, ma
dh'fhanas i mar sin, a réir mo bhreth-
se: agus is i mo bharailse[c] gu bheil
Spiorad Dhé agam.

CAIB. VIII.

1 *Fanteinn o bhidheannaibh a dh'iob-
radh do iodholaibh.* 8 *Cha'n fheud
sinn ar saorsa Chriosduidh a mhi-
ghnàthachadh, chum oilbheim d'ar
bràithribh;* 11 *ach is còir dhuinn
ar n-eòlas a chòsachadh le gràdh.*

ANIS a thaobh nithe a dh'iob-
radh do iodholaibh, tha fhios
againn gu bheil eòlas againn uile.
Atuidh an t-eòlas suas, ach bheir
gràdh fòghlum.
2 Agus ma ta aon duine a' saoil-
sinn gu bheil eòlas ni sam bith aige,
cha'n aithne dha aon ni fathast mar
bu chòir dha aithneachadh.
3 Ach ma ta gràdh aig duine sam
bith do Dhia, tha esan[d] air aithneach-
adh leis.

[s] *na h-éigin, a' chruaidh-chais.* [t] *'ga chaitheadh.* [u] *dreach, cumadh.* [a] *riabh.*
[b] *cubhaidh, tlachdmhor.* [c] *tha mi cinnteach.* [d] *an duine so.*

4 Uime sin, mu thimchioll itheadh nan nithe sin a dh'ìobradh do ìodholaibh, tha fhios againne nach ni air domhan ìodhol, agus nach *'eil* Dia sam bith eile ann ach a h-aon.

5 Oir ge do tha iad ann d'an goirear Dée, ma's ann air nèamh no air talamh (amhuil mar a ta iomadh Dia, agus iomadh Tighearn ann.)

6 Gidheadh dhuinne *cha 'n'eil ach* aon Dia, an t-Athair, o'm *bheil* na h-uile nithe, agus sinne air a shonsan[e]; agus aon Tighearn Iosa Criosd, trìd *am bheil* na h-uile nithe, agus sinne trìdsan.

7 Gidheadh cha *'n'eil* an t-eòlas so anns na h-uile dhaoinibh: oir tha cuid le coguis thaobh an ìodhoil gus an àm so, ag itheadh *a bhiadh* mar ni a dh'ìobradh do ìodhol; agus air d'an coguis a bhi anmhunn, tha i air a salachadh.

8 Ach cha mhol biadh sinn do Dhia: oir ma dh'itheas sinn, ni'm feirrd sinn e; ni mo mur ith sinn, is misd sinn e.

9 Ach thugaibh an aire nach bi an comas[f] so a ta agaibh air aon dòigh 'na aobhar oilbheum do'n dream a ta lag.

10 Oir ma chì neach thusa aig am bheil eòlas a' suidhe chum bìdh ann an teampull ìodhoil, nach neartuichear coguis an tì sin a ta lag chum na nithe sin a dh'ìobradh do ìodholaibh itheadh:

11 Agus tre t'eòlas-sa an d'thèid do bhràthair lag am mugha[g], air son an d'fhuair Criosd bàs?

12 Ach le peacachadh dhuibh mar sin an aghaidh nam bràithre, agus *leis* an coguis anmhunn a lotadh, tha sibh a' peacachadh an aghaidh Chriosd.

13 Uime sin ma bheir biadh aobhar oilbheim do m' bhràthair, cha'n ith mi feòil a choidhch', chum nach tabhair mi aobhar oilbheim do m' bhràthair.

CAIB. IX.

1 Tha e nochadh a shaorsa, 7 agus
gu'm buineadh do'n mhinisteir bhi
air a bheathachadh leis an
t-soisgeul: 15 gidheadh d'a dheadh-
ghean maith féin gu'n d'fhan esan
o bhi costail dhoibh, 22 agus o
oilbheum a thoirt do neach sam
bith an cùisibh coimhdheis. 24
Tha ar beatha cosmhuil ri réis.

NACH abstol mise? nach 'eil mi saor? Nach fhaca mi Iosa Criosd ar Tighearn? nach sibhse m'obair san Tighearn?

2 Mur 'eil mi a'm' abstol do dhaoinibh eile, gidheadh gu cinnteach tha mi dhuibhse; oir is sibhse seula m' abstolachd anns an Tighearn.

3 Is e so mo fhreagradh do'n droing a chuireas ceisd orm,

4 Nach 'eil againne comas[h] itheadh agus òl?

5 Nach 'eil againne comas piuthar, bean-phòsda a thoirt leinn mu'n cuairt, amhuil mar na h-abstoil eile, agus bràithrean an Tighearna, agus Cephas?

6 No am bheil mise agus Barnabas a mhàin, gun chomas againn bhi saor o obair?

7 Cò a théid chum cogaidh uair air bith air a chostus féin? cò a shuidhicheas[i] fìon-lios, agus nach ith d'a thoradh? no cò a bheathaicheas treud, agus nach blais do bhainne an treud?

8 An ann mar dhuine a labhram na nithe so? no nach abair an lagh na nithe so mar an ceudna?

9 Oir a ta e scrìobhta ann an lagh Mhaois, Na cuir ceangal air beul an daimh a tha saltairt[l] an arbhair. Am bheil cùram nan damh air Dia?

10 No nach ann gu h-àraid[m] air ar soinne a deir e so? gu deimhin *is ann* air ar sgàth-ne tha e scrìobhta: chum gur ann an dòchas is còir do'n treabhaiche treabhadh, agus a chum an neach a bhuaileas arbhar an dòchas, gu'm bi e 'na fhear compairt d'a dhòchas.

11 Ma chuir sinne nithe spioradail dhuibhse[n], an ni mòr e ma

[e] *annsan.* [f] *a' chòir, an cumhachd.* [g] *an sgriosar, an caillear do bhràthair lag.* [h] *cumhachd, còir.* [i] *phlanndaicheas.* [l] *a' bualadh, briseadh.* [m] *gu h-uile.* [n] *annaibhse.*

bhuaineas sinn bhur nithe feòlmhor-sa?

12 Ma tha muinntir eile 'nan luchd-comhpairt do'n chumhachd[o] so thar-uibh, nach mò is còir dhuinne *bhi?* Gidheadh, cha do chuir sinn an cumh-achd so an cleachda; ach a ta sinn a' fulang nan uile nithe, chum nach cuireamaid bacadh air soisgeul Chriosd.

13 Nach 'eil fhios agaibh gu bheil iadsan a ta saoithreachadh mu thim-chioll nithe naomha, air am beathach-adh o'n teampull? agus iadsan a ta frithealadh do'n altair, gu bheil comh-roinn[p] aca ris an altair?

14 Agus mar sin dh'orduich an Tighearn mar an ceudna dhoibhsan a ta searmonachadh an t-soisgeil, an teachd-an-tìr fhaotainn o'n t-soi-sgeul.

15 Ach cha do ghnàthaich mise a h-aon diubh so, agus cha do sgrìobh mi na nithe so, chum gu'n deantadh mar sin dhomh: oir b'fhearr dhomh am bàs fhaghail, na gu'n cuireadh neach air bith m'uaill an neo-brìgh.

16 Oir ge do shearmonaich mi an soisgeul, cha 'n'eil aobhar uaill agam: oir a ta éigin air a cur orm; seadh, is anaoibhinn domh, mur searmonaich mi an soisgeul.

17 Oir ma's ann gu toileach a ta mi deanamh so, tha duais agam: ach ma's ann an aghaidh mo thoile a tha ministreileachd[r] air a h-earbsadh rium,

18 Ciod i mo dhuais ma seadh? *eadhon so,* chum ag searmonachadh an t-soisgeil domh, gu'n suidhichinn[s] soisgeul Chriosd gun chostus, chum nach mi-ghnàthaichinn mo chumh-achd san t-soisgeul.

19 Oir ge do tha mi saor o na h-uile dhaoinibh, [illegible] seadh rinn mi mi féin a'm' sh[illegible]seach[t] do na h-uile, chum gu'n cosnainn an tuill-eadh.

20 Agus rinneadh mi do na h-Iudhachaibh mar Iudhach, chum gu'n cosnainn na h-Iudhaich; dhoibh-san a ta fuidh 'n lagh, mar *dhuine* fuidh 'n lagh, chum gu'n cosnainn iadsan a ta fuidh 'n lagh;

21 Dhoibhsan a ta gun lagh, mar *dhuine* gun lagh, (ge nach 'eil mi gun lagh do Dhia, ach fuidh lagh do Chriosd) chum gu'n cosnainn iadsan a ta gun lagh.

22 Rinneadh mi dhoibhsan a *ta* anmhunn[u] mar *dhuine* anmhunn, chum gu'n cosnainn an droing a ta anmhunn: Bha mi san uile chruth do na h-uile, chum air gach uile dhòigh gu'n slànuichinn[a] cuid éigin.

23 Agus so deanam air son an t-soisgeil, chum gu'm bi mi a'm' fhear comh-roinne dheth[b].

24 Nach 'eil fhios agaibh iadsan a ta ruith anns a' bhlàr-réise, gu'n ruith iad uile, ach is aon duine a gheibh an duais[c]? gu ma h-amhuil a ruitheas sibhse, ionnas gu'n glac sibh *an duais.*

25 Agus a ta gach uile ghleachd-air measarra anns na h-uile nithibh: a nis a ta iadsan a' *deanamh sin* chum's gu'm faigh iad crùn truaill-idh, ach sinne *air son crùin* neo-thruaillidh.

26 Uime sin is amhuil a ruith-eamsa, ni h-ann mar gu neo-chinnt-each[d]: is amhuil a chuiream cath, ni h-ann mar neach a bhuaileas an t-athar:

27 Ach trom-bhuaileam mo chorp, agus cuiream fuidh smachd e: an t-eagal air chor sam bith an déigh dhomh searmonachadh[e] do dhroing eile, gu'n cuirear mi féin air cùl[f].

CAIB. X.

1 *Tha sacramainte nan Iudhach 'nan samhladh air ar sacramaintibhne,* 14 *agus am peanas mar rabhadh dhuinn iodhol-aoradh a sheachnadh.* 21 *Cha'n fheud sinn bhi 'nar luchd comhpairt do bhord an Tighearna, agus dhiabhol faraon: &c.*

OS bàrr, a bhràithre, cha b'àill leam sibhse a bhi aineolach, gu robh ar n-aithriche uile fuidh 'n neul,

[o] *chomas.* [p] *comhpairt.* [r] *frithealadh, cùram.* [s] *deanainn.* [t] *a'm' thràill.* [u] *lag.* [a] *saorainn, tearnuinn, sàbhalainn.* [b] *gu'm bi comhpairt agam dheth maille* ribhse. [c] *geall.* [d] *mar neach nach 'eil am follas.* [e] *gairm a thoirt.* [f] *gu diùltar, gu tilgear mi féin.*

agus gu'n deachaidh iad uile tre'n
mhuir;
2 Agus gu'n do bhaisteadh iad
uile do Mhaois san neul, agus anns a'
mhuir;
3 Agus gu'n d'ith iad uile an
t-aon bhiadh spioradail;
4 Agus gu'n d'òl iad uile an t-aon
deoch spioradail: (oir dh'òl iad do'n
charruig spioradail sin a lean iad:
agus b'i a' charruig sin Criosd.)
5 Ach le mòran diubh cha robh
Dia toilichte[g]: oir sgriosadh san
fhàsach iad.
6 A nis bha na nithe sin 'nan
saimpleiribh[h] dhuinne, chum nach
miannaicheamaid droch nithe, eadh-
on mar a mhiannaich iadsan.
7 Agus na bithibhse 'nar luchd-
iodhol-aoraidh, mar *a bha* cuid diubh-
san; a réir mar a ta e scrìobhta,
Shuidh am pobull sìos a dh'itheadh
agus a dh'òl, agus dh'éirich iad a
chluicheadh.
8 Agus na deanamaid strìopachas,
mar a rinn cuid diubhsan, agus a
thuit *diubh* an aon là tri mìle fich-
ead.
9 Agus na dearbhamaid[i] Criosd[l],
mar a dhearbh cuid diubhsan, agus a
sgriosadh iad le nathraichibh nimhe.
10 Agus na deanaibhse gearan,
mar a rinn cuid diubhsan gearan,
agus a sgriosadh iad leis an sgriosad-
air[m].
11 A nis thachair na nithe so uile
dhoibhsan mar eisempleiribh[n]: agus
scrìobhadh iad chum teagaisg[o] duinne,
air am bheil deireadh an domhain[q]
air teachd.
12 [illegible] a shaoileas a bhi
'na s[illegible], thugadh e aire nach
tuit e.
13 Cha do thachair deuchainn[p]
air bith ribh, ach ni a ta coitchionn[r]
do dhaoinibh: ach tha Dia dìleas,
nach leig dhuibh bhi air bhur feuch-
ainn thar bhur comas; ach a ni maille
ris an deuchainn slighe-dol as mar an
ceudna, chum gu'm bi sibh comas-
ach air a giùlan.

14 Air an aobhar sin, [illegible]
mo ghràidh, teichibh o [illegible]-
adh.
15 Labhram mar ri daoinibh tuig-
each: thugaibhse breth [illegible]
deiream.
16 Cupan a' bheannachaidh a ta
sinne a' beannachadh, nach [illegible]
fola Chriosd e? An t-aran [illegible]
a' briseadh, nach e comann cuirp
Chriosd e?
17 Oir ge do tha sinne 'nar mòr-
an, is aon aran[s], agus aon chorp [illegible]
oir a ta againn uile comhpairt do'n
aon aran.
18 Thugaibh fainear Israel [illegible]
na feòla: nach 'eil aca san a ta [illegible]
eadh nan ìobairt comh-roinn do'n
altair?
19 Ciod a deiream uime sin? gu
bheil brigh air bith anns an iodh[illegible]
no gu bheil brigh air bith san [illegible]
dh'ìobradh do iodholaibh?
20 Ach *a deiream*, na nithe a ta na
Cinnich ag ìobradh, gur ann do
dheamhnaibh a tha iad 'gan ìobradh,
agus nach ann do Dhia: agus cha
b'àill leam comunn a bhi agaibhse ri
deamhnaibh.
21 Cha 'n'eil e an comas duibh
cupan an Tighearna òl, agus cupan
dheamhan. Cha 'n'eil e an comas
duibh comh-roinn a bhi agaibh do
bhord an Tighearna, agus do bhord
dheamhan.
22 Am brosnaich sinn an Tighearn
gu feirg? an treise sinn na esan?
23 Tha na h-uile nithe ceadaichte
dhomh, ach cha 'n'eil na h-uile nithe
iomchuidh[t]: tha na h-uile nithe
ceadaichte dhomh, agus cha tabhair
na h-uile nithe foghlum.
24 Na iarradh neach air bith an ni
sin a bhuineas d'a féin: ach iarradh
gach aon [illegible] in a thig [illegible]
neach eile.
25 Ithibh [illegible]
margadh na feòla, gu[illegible]
fheoraich[u] air son [illegible]
26 Oir is leis an Tighearna [illegible]
am[illegible] h-làn.

g cha do thoilinn mòran diubh ri Dia. h [illegible], samhlachas[illegible].
i buaireamaid. l Dia. m mhilltear. n [illegible]. o [illegible].
p buaireadh, cruaidh-fheuchainn, dearbhadh. r [illegible]. s [illegible].
t tarbhach. u fharraid

27 Ma bheir aon neach dhiubhsan
ach 'eil 'nan creidmhich cuireadh
uibh, agus gur toil leibh dol maille
; ithibh gach ni a chuirear roimh-
h, gun ni sam bith fheòruich air
n coguis.
28 Ach ma deir duine sam bith
ibh, Dh'iobradh an ni so do iodhol
ibh, na ithibh, air a shonsan a nochd
dhuibh e, agus air son coguis[a]. [Oir
s leis an Tighearn an talamh, agus a
lan.
29 *Air son* coguis deiream, cha'n i
do *choguis* féin, ach *coguis* an neach
ud eile: oir c'ar son a bheirear breth
air[b] mo shaorsasa le coguis duin eile?
30 Oir, ma tha comhpairt *bìdh* ag-
amsa tre ghràs, c'ar son a labhrar olc
umam a thaobh an ni sin air son am
bheil mi a' toirt buidheachais?
31 Uime sin cò aca dh'itheas no
dh'òlas sibh, no ge b'e ni a ni sibh,
deanaibh na h-uile nithe chum glòire
Dhé.
32 Na tugaibh aobhar oilbheim do
na h-Iudhachaibh, no do na Greug-
achaibh, no do eaglais Dé:
33 A réir mar a ta mise a' dean-
amh toile nan uile dhaoine anns na
h-uile nithibh, gun bhi 'g iarraidh
mo bhuannachd féin, ach *buannachd*
mhòrain, chum gu slànuichear iad.

C A I B. XI.

1 *Tha e faotainn cron doibh, gu robh 'nan coimhthionail am fir a' deanamh ùrnuigh, agus an cinn air an còmhdachadh, agus am mnài gun chòmhdachadh air an cinn:* 17 *agus do bhrigh gu robh gu coitchionn an cruinneachadh ni h-ann chum maith, ach chum uilc; gu sonraichte, air son gu robh iad le'm féis sibh féin a' mi-naomhachadh suiper an Tighearna, &c.*

BITHIBHSE [...] luchd-lean-
mhuinn orm [...] mar amhuil a
[...]u.
2 [...]lam sibh, a bhràithre,
do b[...] a bheil cuimhne agaibh
ormsa [...] h-uile nithibh, agus
[...] bheil sibh a' coimhead nan ord-
uighean, mar a thug mise dhuibh
iad.
3 Ach bu mhiann leam fios a bhi
agaibh, gur e Criosd ceann gach fir,
agus gur e am fear ceann na mnà,
agus gur e Dia ceann Chriosd.
4 Gach fear a ta deanamh ùrnuigh
no fàidheadaireachd, agus *folach air*
a cheann, tha e toirt eas-urraim d'a
cheann.
5 Ach gach bean a ta 'deanamh
ùrnuigh no fàidheadaireachd gun
fholach air *a* ceann, tha i toirt eas-
urraim d'a ceann: oir is ionann sin
agus ge do bhiodh i air a bearradh.
6 Oir mur bi folach air ceann na
mnà, bearrar i mar an ceudna: ach
ma's grannda[d] do mhnaoi i bhi air a
bearradh no air a lomadh, cuireadh i
folach oirre.
7 Oir gun amharus cha chòir do
fhear a cheann a chòmhdachadh[e], do
bhrigh gur h-e iomhaigh agus glòir
Dhé: ach is i a' bhean glòir an
fhìr.
8 Oir cha 'n'eil am fear o'n mhnaoi,
ach a' bhean o'n fhear.
9 Agus nior chruthaicheadh am
fear air son na mnà, ach a' bhean air
son an fhir.
10 Uime sin is còir do'n mhnaoi
cumhachd[f] a bhi aice air *a* ceann,
air son nan aingeal.
11 Gidheadh, cha 'n'eil am fear as
eugmhais na mnà, no a' bhean as
eugmhais an fhir anns an Tighearn.
12 Oir mar a ta a' bhean o'n
fhear, is amhuil sin *a ta* 'm fear tre'n
mhnaoi mar an ceudna: ach is ann
o Dhia ta na h-uile nithe.
13 Measaibh annaibh féin: am
bheil e ciatfach do mhnaoi ùrnuigh a
dheanamh ri Dia gun *fholach air a*
ceann.
14 Nach 'eil nàdur féin a' teagasg
dhuibh, ma bhios gruag fhada air
fear, gur nàr dha e?
15 Ach ma bhios gruag fhada air
mnaoi, is glòir dh'i e: oir thugadh a
gruag dh'i air son còmhdaich[g].
16 Ach ma bhios neach air bith
connspoideach, cha 'n'eil a leithid sin

[a] *coimh-fhios, coinsiens.* [b] *a' dhìtear.* [c] *air m'eisiomplairse.* [d] *grànna.* [e] *fholach.* [f] 'se sin r'a ràdh *folach, a leigeil fhaicinn gu bheil i fa chumhachd a fir.* [g] *folaich.*

do ghnàthachadh againne, no aig eag-
laisibh Dhé.
17 A nis anns an ni so a'chuiream
an céill duibh, cha mhol mi sibh, do
bhrigh gu bheil sibh a' teachd an
ceann a chéile cha'n ann chum an ni
a's fearr, ach an ni a's measa.
18 Oir air tùs, air cruinneachadh
dhuibh an ceann a chéile san eaglais,
tha mi cluinntinn gu bheil roinnean [h]
'nar measg; agus tha mi an cuid 'ga
chreidsinn.
19 Oir is éigin saobh-chreidimh [i]
a bhi eadaruibh, chum gu'n deanar
follaiseach an dream a ta dearbhta
'nar measg.
20 Uime sin an uair a thig sibh an
ceann a chéile do aon àit, cha'n e sin
suipeir an Tighearna itheadh.
21 Oir ithidh gach aon air tùs a
shuipeir féin, agus a ta neach ocrach,
agus neach eile air mhisg.
22 An e nach 'eil tighean agaibh
chum itheadh agus òl annta? no am
bheil sibh a' deanamh tàir' air eaglais
Dé, agus a' nàrachadh na muinntir
aig nach 'eil? Ciod a deiream ribh?
Am mol mi sibh anns a' chùis so?
cha mhol.
23 Oir fhuair mise o'n Tighearn
an ni mar an ceudna a thug mi
dhuibhse, Gu'n do ghlac an Tigh-
earn Iosa aran, anns an oidhche an
do bhrathadh e:
24 Agus air breith buidheachais,
bhris se e, agus thubhairt e, Gabh-
aibh, ithibh; is e so mo chorpsa, a ta
air a bhriseadh [l] air bhur sonsa:
deanaibh so chum cuimhne ormsa [m].
25 Agus air a' mhodh cheudna an
cupan, an déigh na suipeir, ag ràdh,
Is e an cupan so an coimhcheangal [n]
nuadh ann am fhuil-se: deanaibhse
so, cia minic as a dh'òlas sibh e, chum
cuimhne ormsa.
26 Oir cia minic as a dh'itheas
sibh an t-aran so, agus a dh'òlas sibh
an cupan so, tha sibh a' foillseach-
adh bàis an Tighearna gus an d'thig
e.
27 Uime sin, ge b'e neach a
dh' itheas an t-aran so, agus a
dh'òlas cupan so an Tighearna gu
neo-iomchuidh, bithidh e ciontach
do chorp agus do fhuil an Tighearna.
28 Ach ceasnuicheadh [illegible]
féin, agus mar sin itheadh e [illegible]
aran so, agus òladh e [illegible] cupan
so.
29 Oir ge b'e dh'itheas [illegible]
as gu neo-iomchuidh, th[illegible]
agus ag òl breitheanais [illegible]
bhrigh nach 'eil e [illegible]
aithneadh air corp an Tighearna.
30 Air a shon so tha [illegible]
measg lag agus tinn, ag[illegible]
'nan codal.
31 Oir nan d'thugamaid breth
oirnn fein, cha d'thugtadh breth
oirnn.
32 Ach an uair a bheirear breth
oirnn, tha sinn air ar smachdachadh
leis an Tighearn, chum nach
bitheamaid air ar dìteadh maille ris
an t-saoghal.
33 Uime sin, mo bhràithre, 'nuair
a thig sibh an ceann a chéile, chum
itheadh, fanaibh r'a chéile.
34 Agus ma bhios ocras air aon
neach, itheadh e aig an tigh; chum
nach d'thig sibh an ceann a chéile gu
breitheanas [s]. Agus cuiridh mise
gach ni eile an ordugh 'nuair a thig
mi.

C A I B. XII.

*1 Tha tiodhlacan spioradail [illegible]
thaobh gnè, 7 [illegible] ta
uile gu tairbhe, 8 agus chum
criche so air an tabhairt
caochladh dòigh: 12 chum
mar a ta buill a' chuirp
uile chum 16 maise, agus
[illegible] an aon chuirp; 27 mar
sin [illegible] bithear [illegible] r'a chéile, a
[illegible] [illegible]
Chriosd.*

A NIS a th[illegible]
a bhràithre, [illegible]
sibh bhi aineolach.
2 Tha fios agaibh g[illegible]
'nar Cinnich, air bhur tarr[illegible]

h eas-aonachda, sgaraidh. i saobh-bharailean, sireachd. l air a thabhairt. m mar chuimhneachan ormsa. n [illegible] [illegible] [illegible] adh. r deanamh eadar-dhealachaidh eadar corp an Tighearna agus biadh eile. s chum dìtidh. t [illegible]

iodholaibh balbha, a réir mar a
threòraicheadh sibh.
3 Uime sin tha mi toirt fios duibh,
nach abair duine sam bith a tha
labhairt o Spiorad Dé, gu bheil Iosa
mallaichte: agus nach urradh duine
sam bith a ràdh gur e Iosa an Tighearn,
ach trid an Spioraid naoimh.
4 A nis tha eadar-dhealachadh
thiodhlaca ann, ach *cha 'n'eil ach* aon
Spiorad ann.
5 Agus tha eadar-dhealachadh
frithealaidh[u] ann, gidheadh *cha 'n'eil
ach* aon Tighearn ann.
6 Agus tha eadar-dhealachadh
oibreachaidh ann, ach is e an t-aon
Dia, a tha 'g oibreachadh nan uile
nithe anns na h-uile.
7 Ach a ta foillseachadh an Spioraid
air a thoirt do gach neach, chum
tairbhe.
8 Oir do aon duine tha focal a'
ghliocais air a thoirt leis an Spiorad;
agus do dhuin' eile focal an eòlais leis
an Spiorad cheudna;
9 Do neach eile creidimh leis an
Spiorad sin féin; do dhuin' eile tabhartas
leighis trid an Spioraid cheudna;
10 Do neach eile oibreachadh
mhiorbhuile; do neach eile faidheadaireachd;
do neach eile aithneachadh
spiorad; do neach eile *iomadh* gnè
theanga; agus do neach eile eadar-mhìneachadh
theanga.
11 Ach na nithe sin uile tha an
t-aon Spiorad ceudna ag oibreachadh,
roinn ris gach aon fa leth a réir
ar is àill leis.
12 Oir mar is aon an corp, agus
mòran do bhallaibh aige, agus a ta
uile bhuill an aon chuirp sin, ge
h-iomadh iad, 'nan aon chorp, mar
sin *a ta* Criosd.
13 [illegible] bhaisteadh
[illegible], ma's Iudhaich
[illegible] ma's daor no
saor; agus thugadh deoch r'a
[illegible] uile chum aon Spioraid.
[illegible] cha'n aon bhall an corp,
[illegible] mòran.
15 Ma deir a' chos, Do bhrigh
nach mi an làmh, cha'n ann do'n
chorp mi; nach 'eil i do'n chorp air
a shon sin?
16 Agus ma deir a' chluas, Do
bhrigh nach mi an t-sùil, cha'n ann
do'n chorp mi; nach ann do'n chorp
i air a shon sin?
17 Nam *biodh* an corp uile 'na
shùil, c'àit am *biodh* a' chlaisteachd?
Nam *biodh* e uile 'na chlaisteachd,
C'àit am *biodh* am boladh?
18 Ach a nis shuidhich Dia na
buill gach aon diubh sa' chorp, mar
bu toil leis.
19 Agus nam biodh iad uile 'nan
aon bhall, c'àit am *biodh* an corp.
20 Ach a nis *tha iad* 'nam mòran
bhall, ge nach 'eil ann ach aon
chorp.
21 Agus cha'n urradh an t-sùil a
ràdh ris an làimh, Cha 'n'eil feum
agam ort: no a rìs, an ceann ris na
cosaibh, Cha 'n'eil feum agam
oirbhse.
22 Ach gu ro mhòr ni's mò tha na
buill sin do'n chorp, a's anmhuinne[a]
thaobh coslais, feumail.
23 Agus air *na buill* sin do'n chorp
a's lugha urram 'nar meas-ne, tha
sinn a' cur an tuilleadh urraim, agus
na *buill* sinn dhinn a's lugha maise,
tha aca sin gu ro mhòr an tuilleadh
maise.
24 Oir air na *buill* mhaiseach
againn cha 'n'eil uireasbhuidh: ach
rinn Dia an corp a chomh-chumadh
r'a chéile, air dha an tuilleadh urraim
gu mòr a thoirt do'n *chuid* air an
robh uireasbhuidh:
25 Chum nach biodh easaonachd
air bith sa' chorp; ach gu'm biodh
an t-aon chùram aig na buill d'a
chéile.
26 Agus ma dh'fhuilgeas aon
bhall, comh-fhuilgidh *na* buill uile:
no ma gheibh aon bhall urram, ni na
buill uile gairdeachas maraon ris.
27 A nis is sibhse corp Chriosd,
agus *is* buill *sibh* fa leth.
28 Agus chuir Dia dream àraidh
san eaglais, air tùs abstola, san dara
àit faidhean, san treas àit luchd-teagaisg,
a rìs miorbhuilean, 'na
dhéigh sin tabhartais leighis, luchd-cuideachaidh,
uachdaranachda, iomadh
gnè theanga.
29 *Am bheil* na h-uile 'nan abstoil

[u] *mhinistreileachd, dhreuchd.* [a] *laige.*

X

aibh? *Am bheil* na h-uile 'nam
faidhibh? *Am bheil* na h-uile 'nan
luchd-teagaisg? *Am bheil* na h-uile
'nan luchd-deanamh mhiorbhuile?
30 Am bheil aig na h-uile tabh-
artais leighis? An labhair na h-uile
le teangaibh? An dean na h-uile
eadar-theangachadh?
31 Ach biodh miann dùrachdach
nan tiodhlac a's fearr oirbh: agus
gidheadh nochdamsa dhuibh slighe
a's ro-fhearr.

CAIB. XIII.

1 *Cha 'n'eil brigh sam bith anns na*
tiodhlacaibh uile, d'am feabhas, as
eugmhais a' ghràidh: 4 A chliu-
sa, 13 agus a bharrachd air
dòchas agus creidimh.

GE do labhrainn le teangaibh
dhaoine, agus aingeal, agus
gun ghràdh[b] agam, tha mi a'm'
umha[c] a ni fuaim, no a'm' chiombal
a ni gleangarsaich.
2 Agus ge do robh agam fàidhead-
aireachd, agus ge do thuiginn na
h-uile rùna-diomhair, agus gach uile
eòlas; agus ge do bhiodh agam gach
uile *ghnè* creidimh, ionnas gu'n
atharraichinn sléibhte, agus mi gun
ghràdh agam, cha 'n'eil annam ach
neo-ni.
3 Agus ge do chaithinn mo mhaoin
uile chum na bochdan a bheathach-
adh, agus ge do bheirinn mo chorp
chum a losgaidh, agus gun ghràdh
agam, cha 'n'eil tairbhe sam bith
dhomh ann.
4 Tha an gràdh fad-fhulangach,
agus caoimhneil; cha ghabh an
gràdh farmad; cha dean an gràdh
ràiteachas, cha 'n'eil e air a sheideadh
suas,
5 Cha ghiùlain se e féin gu mi-
chiatfach, cha'n iarr e na nithe sin a
bhuineas da féin, cha 'n'eil e so-
bhrosnachaidh *chum feirge*, cha
smuainich e ole sam bith,
6 Cha dean e gairdeachas san
eucoir, ach ni e gairdeachas san
fhìrinn:
7 Fuilgidh[d] e na h-uile nithe,
creididh e na h-uile nithe, bithidh
sùil[e] aige ris na h-uile nithibh,
giùlainidh e na h-uile nithe.
8 Cha d'théid an gràdh air cùl a
choidhch: ach ma's fàidheadaireachda
ta ann, théid iad air cùl; ma's
teangaidh, sguiridh iad; ma's eòlas,
cuirear air cùl e.
9 Oir is ann a ta eòlas againn ann an
cuid, agus tha sinn ri fàidheadair-
eachd ann an cuid.
10 Ach an uair a thig an ni a ta
iomlan, cuirear air cùl an ni sin nach
'eil ach ann an cuid.
11 'Nuair a bha mi a'm' leanaban,
labhair mi mar leanaban, thuig mi
mar leanaban, reusonaich[f] mi mar
leanaban: ach air fàs domh a'm'
dhuine, chuir mi na nithe leanabaidh
air cùl.
12 Oir tha sinn a'faicinn san àm
so gu dorcha tre ghloin[g]; ach an sin
chi sinn aghaidh ri h-aghaidh: san
àm so is aithne dhomh ann an cuid;
ach an sin aithnichidh mi eadhon mar
a ta aithneadh orm.
13 Agus a nis fanaidh creidimh,
dòchas[h], gràdh, na tri *nithe* so; ach
is e'n gràdh a's mò dhiubh so.

CAIB. XIV.

1 *Tha e moladh fàidheadaireachd,* 2
agus a' toirt urraim dh'i roimh
labhairt le teangaibh, 6 *le cosamh-*
lachd air a thoirt o innealaibh-
ciuil: 12 *is còir an gnàthachadh*
furasda, chum togail suas na
h-eaglais, 22 *mar a' chrioch sin,*
gus an d'orduicheadh iad. 26 *Tha*
fior-fheum gach aon diubh air a
theagasg, &c.

LEANAIBH gràdh, agus biodh
oirbh miann[i] *thiodhlaca* spiorad-
ail oirbh, ach gu ma mò bhur
togradh gu'n dean sibh fàidhead-
aireachd.
2 Oir an ti a ...
nidh *choimhich*[l], ni ... a
a labhras e, ach ri Dia: ...
neach sam bith 'ga thuigsinn ... e do
tha e anns an Spiorad a' labhairt
rùna-diomhair.
3 Ach an ti a tha deanamh fàidh-
eadaireachd, tha e a' labhairt ...

b *scire.* c *phrais.* d *comhdaichidh, folaichidh.* e *dochas, earbsa.*
f *smuaintich* g *ann an sgàthan.* h *earbsa.* i *dheidh, iarrtus.* l *choigrich.*

daoinibh chum togail suas[m], agus *chum* earail, agus *chum* comhfhurtachd.

4 An ti a ta labhairt an teangaidh *choimhich*, tha e 'ga thogail féin suas: ach an ti a ni fàidheadaireachd, tha e togail suas na h-eaglais.

5 Bu mhaith leam gu'n labhradh sibh uile le teangaibh, ach b'fhearr leam sibh a dheanamh fàidheadaireachd, oir *is* mò an ti a ni fàidheadaireachd, na an ti a labhras le teangaibh, mur eadar-theangaich e[n], chum gu faigheadh an eaglais fòghlum.

6 A nis a' bhràithre, ma thig mi d'ar ionnsuidh a' labhairt le teangaibh, ciod an tairbhe a ni mi dhuibh, mur labhair mi ribh am foillseachadh, no an eòlas, no am fàidheadaireachd, no an teagasg?

7 Air an doigh cheudna na nithe gun anam a ni fuaim, ma's pìob no clàrsach, mur dean iad eadar-dhealachadh 'nam fuaimibh, cionnus a thuigear an ni a sheinnear air a' phìob no air a' chlàrsaich?

8 Oir ma bheir a' ghall-tromp fuaim neo-chinnteach uaipe[o], cò a dh'ulluicheas e féin chum a' chatha?

9 Is amhuil sin sibhse, mur labhair sibh leis an teangaidh briathra so-thuigsinn, cionnus a dh'aithnichear an ni a labhrar? oir is ann ris an athar a labhras sibh.

10 Tha, feudaidh e bi, an uiread do ghuthannaibh[p] san t-saoghal, agus cha 'n'eil a h-aon diubh gun bhlagh[r].

11 Uime sin mur tuig mi brigh a' ghutha, bithidh mi do'n ti a labhras borb[s]; agus *bithidh* an ti a labhras, borb dhomhsa.

12 Mar sin mar an ceudna sibhse, do bhrigh gu bheil déigh agaibh air *tiodhlacaibh* spioradail, iarraibh sibh féin a bhi 'toirt barrachd chum togail suas[t] na h-eaglais.

13 Uime sin an ti a labhras ann an teangaidh *choimhich*, guidheadh e gu'n deanadh e eadar-theangachadh.

14 Oir ma ni mise ùrnuigh ann an teangaidh *choimhich*, tha mo spiorad a' deanamh ùrnuigh, ach tha mo thuigse neo-tharbhach.

15 Ciod ma seadh? ni mi ùrnuigh leis an spiorad, agus ni mi ùrnuigh leis an tuigse mar an ceudna: seinnidh mi leis an Spiorad, agus seinnidh mi leis an tuigse mar an ceudna.

16 No 'nuair a bheannuicheas tu leis an spiorad, cionnus a deir an ti a tha ann an àit an duine gun fhòghlum, Amen ri d' bhreith-buidheachais, o nach aithne dha an ni a deir tu?

17 Oir gu deimhin a ta thusa toirt buidheachais gu maith, gidheadh cha 'n'eil an neach eile air a thogail suas[u].

18 Bheiream buidheachas do m' Dhia, gu'n labhram le teangaibh tuilleadh na sibh uile:

19 Ach b'fhearr leam cùig focail a labhairt san eaglais le m' thuigse, chum gu teagaisginn daoin' eile mar an ceudna, na deich mìle focal ann an teangaidh *choimhich*.

20 A bhràithre, na bithibhse 'nar leanabaibh an tuigse: gidheadh, ann am mìorun[a] bithibh 'nar leanabaibh, ach ann an tuigse bithibh 'nar *daoine* foirfe.

21 Tha e sgrìobhta san lagh, Labhraidh mi ris a' phobull so ann an teangaibh eile, agus am bilibh eile: gidheadh an déigh sin uile cha'n éisd iad rium, a deir an Tighearn.

22 Uime sin a ta teangannan *coimheach* 'nan comhara, ni h-ann do'n droing a ta creidsinn, ach dhoibhsan a ta mi-chreidich: ach a ta fàidheadaireachd ni h-ann air an sonsan nach 'eil a' creidsinn, ach air an sonsan a tha creidsinn.

23 Uime sin ma chruinnicheas an eaglais uile san aon àit, agus ma labhras iad uile le teangaibh *coimheach* agus gu'n d'thig droing a ta gun fhòghlum a steach, no daoine mi-chreideach, nach abair iad gu bheil sibh air a' chuthach[b]?

24 Ach ma ni iad uile fàidheadaireachd, agus gu'n d'thig duine gun chreidimh a steach, no *neach* a

[m] *fòghluim, teagaisg.* [n] *mur eadar-theangaich* neach. [o] *uaithe.* [p] *chainntibh, chànainibh.* [r] *bhrigh, seadh.* [s] *fiadhaich, barbarra.* [t] *fòghluim.* [u] *air fhòghlum.* [a] *droch mhèin, olc.* [b] *air mhi-chéill, air boile.*

ta gun fhòghlum, cronnichear[c] e leis na h-uile, agus bheirear breth air leis na h-uile:

25 Agus mar sin a ta *nithe* folaichte a chridhe *air an foillseachadh*; agus mar sin, air dha tuiteam air aghaidh, ni e aoradh do Dhia, ag aithris[d] gu bheil Dia gu fìrinneach annaibhse.

26 Ciod e sin ma ta, a bhràithre? air teachd an ceann a chéile dhuibh, tha salm, tha teagasg, tha teanga, tha foillseachadh, tha eadar-theangachadh, aig gach aon agaibh. Deanar na h-uile nithe chum fòghluim[d].

27 Ma labhras aon neach ann an teangaidh *choimhich*, labhradh dithis, no air a' chuid a's mò triuir, agus sin an déigh a chéile; agus deanadh a h-aon eadar-theangachadh.

28 Ach mur bi eadar-theangair ann, fanadh e' na thosd san eaglais; no labhradh e ris féin, agus ri Dia.

29 Labhradh dithis no triuir do na fàidhibh, agus thugadh a' chuid eile breth.

30 Ach ma dh'fhoillsichear *ni* do neach eile a tha 'na shuidhe, biodh an ceud *dhuine* 'na thosd.

31 Oir feudaidh sibh uile fàidheadaireachd a dheanamh gach aon an déigh a chéile, chum's gu faigh na h-uile fòghlum, agus na h-uile comhfhurtachd.

32 Agus a ta spioradan[f] nam fàidh ùmhal do na fàidhibh.

33 Oir cha'n e Dia *ùghdair* na mi-riaghailt[g] ach na sìth, mar ann an eaglaisibh nan naomh uile.

34 Biodh bhur mnài 'nan tosd san h-eaglaisibh; oir cha 'n'eil e ceadaichte dhoibh labhairt; ach *is còir dhoibh bhi* ùmhal, mar a deir an lagh mar an ceudna.

35 Agus ma's miann leo ni sam bith fhòghlum, feòraicheadh iad d'am fearaibh féin aig an tigh; oir is mi-chiatfach do mhnaibh labhairt san eaglais.

36 An ann uaibhse thainig focal Dé a mach? no an ann d'ur n-ionnsuidhse a mhàin a thainig e?

37 Ma shaoileas duine sam bith[h] gur fàidh, no gur duine spioradail e féin, aidicheadh e na nithe a tha mi a sgrìobhadh d'ur n-ionnsuidh, gur h-iad àitheantan an Tighearna.

38 Ach ma ta neach sam bith aineolach, biodh e aineolach.

39 Uime sin, a bhràithre, biodh togradh agaibh air fàidheadaireachd a dheanamh, agus na bacaibh labhairt le teangaibh.

40 Deanar na h-uile nithe gu deadh-mhaiseach, agus a réir orduigh.

C A I B. XV.

1 *O aiseirigh Chriosd*, 12 *tha e dearbhadh gu'n éirich sinne, an aghaidh na muinntir sin a tha 'g àicheadh eiseirigh na colla*: 21 *Toradh*, 35 *agus dòigh na h-aiseirigh*, 51 *agus caochladh na muinntir sin a gheibhear beo, air an là dheireannach.*

OS barr, a bhràithre, cuiream an céill duibh an soisgeul a shearmonaich mi dhuibh, ris an do ghabh sibhse mar an ceudna, agus anns am bheil sibh 'nar seasamh;

2 Trìd mar an ceudna am bheil sibh air bhur tearnadh, ma chumas sibh gu daingean[i] an ni a shearmonaich mi dhuibh, mur do chreid sibhse gu diomhain.

3 Oir thug mi dhuibh air tùs an ni a fhuair mi mar an ceudna, Gu'n d'fhuair Criosd bàs air son ar peacaidh a réir nan scriobtuir;

4 Agus gu'n d'adhlaiceadh e, agus gu'n d'éirich e a rìs air an treas là a réir nan scriobtuir:

5 Agus gu facas e le Cephas, 'na dhéigh sin leis an dà fhear dheug.

6 'Na dhéigh sin, chunnacas e le còrr agus cùig ceud bràithrean air aon uair; d'am bheil a' chuid a's mò beo gus a nis, ach tha cuid dhiubh 'nan codal.

7 'Na dhéigh sin chunnacas e le Seumas, agus a rìs leis na h-abstolaibh uile.

8 'Nan déigh uile chunnacas leamsa e mar an ceudna, mar neach a rugadh an an-am.

c *spreagar, comhairlichear.* d *ag innseadh, a' foillseachadh.* e *sogail suas.* f *tiodhlaic spioradail.* g *mi-riaghailt, tuaireap.* h *Ma 's e duine sam bith ciontach.* i *ma ghleidheas sibh air chuimhne.*

9 Oir is mi a's lugha do na h-ab-
stolaibh, nach fiu abstol a ghairm
dhiom, do bhrigh gu'n robh mi a'
geur-leanmhuinn eaglais Dé.
10 Ach tre ghràs Dé is mi an ni
a's mi: agus cha robh a ghràs, *a*
bhuilicheadh orm, gun bhrigh; ach
shaothraich mi ni's pailte na iad
uile; gidheadh cha mi-fhéin, ach gràs
Dé a bha maille rium.
11 Uime sin cò air bith iad *dhinn*,
mise no iadsan, is ann mar so a tha
sinne a' searmonachadh, agus is ann
mar so a chreid sibhse.
12 A nis ma shearmonaichear
Criosd gu'n d'éirich *e* o na marbh-
aibh, cionnus a deir cuid 'nar measg-
sa, Nach 'eil aiseirigh nam marbh
ann?
13 Ach mur 'eil aiseirigh nam
marbh ann, ni mò a dh'éirich Criosd.
14 Agus mur d'éirich Criosd, gu
deimhin *is* dìomhain ar searmoin-ne,
agus *is* dìomhain bhur creidimhse
mar an ceudna.
15 Seadh fhuaradh sinne 'nar
fianuisibh bréige air Dia; do bhrigh
gu'n d'rinn sinn fianuis a thaobh
Dhé, gu'n do thog e suas Criosd:
neach nach do thog e suas, mur éir-
ich na mairbh.
16 Oir mur éirich na mairbh, ni
mò a dh'éirich Criosd:
17 Agus mur d'éirich Criosd, *tha*
bhur creidimhse dìomhain; tha sibh
fathast am bhur peacaibh.
18 Mar sin mar an ceudna tha an
droing a choidil ann an Criosd, caillte.
19 Ma's anns a' bheatha so a
mhàin a tha dòchas againn ann an
Criosd, is sinn a's truaighe do na
h-uile dhaoinibh.
20 Ach a nis tha Criosd air éirigh
o na marbhaibh, *agus* rinneadh an
ceud thoradh dhiubhsan a choidil
deth.
21 Oir mar is ann tre dhuine *thàin-
ig* am bàs, is ann tre dhuine *thig*
aiseirigh nam marbh mar an ceud-
na.
22 Oir mar ann an Adhamh, a ta
na h-uile a' faghail a' bhàis, is amh-
uil sin mar an ceudna a nithear na
h-uile beo ann an Criosd.
23 Ach gach uile dhuine 'na ord-
ugh féin: Criosd an ceud thoradh,
'na dhéigh sin iadsan a's le Criosd
aig a theachd
24 An sin *bithidh* a' chrìoch dheir-
eannach, 'nuair a bheir e suas an
rioghachd do Dhia, eadhon an t-Ath-
air; 'nuair a chuireas e as do[l] gach
uile uachdaranachd, agus gach uile
ùghdarras, agus cumhachd.
25 Oir is éigin gu'n rioghaich e, gus
an cuir e a naimhdean uile fa chosaibh.
26 Sgriosar an nàmhaid deireann-
ach, am bàs.
27 Oir chuir e na h-uile nithe fa
chosaibh. Ach an uair a deir e gun
do chuir e na h-uile nithe fuidh, *is* ni
follaiseach gu bheil esan a chuir na
h-uile nithe fuidh, an leth muigh
dheth so.
28 Agus an uair a chuirear na
h-uile nithe fuidh, an sin bithidh am
Mac féin fuidh'n ti a chuir na h-uile
nithe fuidh-san, chum gu'm bi Dia 'na
uile anns na h-uile.
29 No ciod a ni iadsan, a bhaistear
air son nam marbh, mur éirich na
mairbh air aon dòigh? c'ar son ma
seadh a bhaistear iad air son nam
marbh?
30 Agus c'ar son a ta sinne an
gàbhadh gach uair?
31 Air bhur gàirdeachas-sa[m] a tha
agam ann an Iosa Criosd ar Tigh-
earn, tha mi faghail a' bhàis gach là.
32 Ma chòmhraig[n] mi mar
dhuine[o] ri fiadh-bheathaichibh ann an
Ephesus, ciod i mo thairbhe, mur éir-
ich na mairbh? itheamaid agus òla-
maid, oir am màireach gheibh sinn bàs.
33 Na mealltar sibh: truaillidh
droch chòmhradh[p] deadh bheusa.
34 Dùisgibh chum fìreantachd[r],
agus na deanaibh peacadh; oir
cha 'n'eil eòlas Dé aig cuid: chum
bhur nàire labhram so.
35 Ach a deir neach éigin, Cionn-
us a dh'éireas na mairbh? agus ciod
a' ghnè cuirp leis an d'thig iad?
36 Amadain, an ni sin a chuireas

[l] *a chuireas e sìos.* [m] *a' ghairdeachas air bhur sonsa.* [n] *chog mi, chuir mi cath.* [o] *a réir gnàtha dhaoine.* [p] *droch chòmhradh.* [r] *gu ceart, gu cubhaidh.*

tu, cha bheothaichear e, mur bàsaich
e air tùs.
37 Agus an ni a chuireas tu, cha'n
e an corp a bhitheas a ta thu cur, ach
gràinne lom, feudaidh e bhi do chruith-
neachd, no do sheòrsa éigin eile.
38 Ach a ta Dia a' toirt cuirp dha
mar bu toil leis, agus do gach éile
shìol a chorp féin.
39 Cha'n aon fheòil gach uile
fheòil: ach a ta feòil air leth aig
daoinibh, agus feòil eile aig ain-
mhidhibh, feòil eile aig iasgaibh, agus
feòil eile aig eunaibh.
40 Agus a ta cuirp nèamhaidh
ann, agus cuirp thalmhaidh: gidh-
eadh a ta glòir air leth aig na corp-
aibh nèamhaidh, agus glòir eile aig
na corpaibh talmhaidh.
41 Tha aon ghlòir aig a' ghréin, agus
glòir eile aig a' ghealaich, agus glòir
eile aig na reultaibh; oir a ta eadar-
dhealachadh eadar reult agus reult
thaobh glòire.
42 Agus is ann mar sin a bhios
aiseirigh nam marbh. Cuirear ann
an truaillidheachd e, togar ann an
neo-thruaillidheachd e.
43 Cuirear e ann an eas-urram,
togar ann an glòir e: cuirear ann an
anmhuinneachd e, éiridh e ann an
cumhachd:
44 Cuirear e 'na chorp nàdurra,
éiridh e 'na chorp spioradail. Tha
corp nàdurra ann, agus corp spioradail.
45 Agus mar so tha e sgrìobhta,
Rinneadh an ceud dhuine Adhamh
'na anam beo, an t-Adhamh deir-
eannach 'na Spiorad a bheothaicheas.
46 Gidheadh cha b'e an ni spioradail
a bha ann air tùs, ach an ni nàdurra;
agus 'na dhéigh sin an ni spioradail.
47 An ceud duine o'n talamh, tal-
mhaidh: an dara duine an Tighearn
o nèamh.
48 Mar an duine talmhaidh, is
amhuil sin iadsan a tha talmhaidh:
agus mar a ta an duine nèamhaidh, is
ann mar sin iadsan a ta nèamhaidh.
49 Agus mar a ghiùlain sinn
dealbh[s] an duine thalmhaidh, giù-
lainidh sinn mar an ceudna dealbh an
duine nèamhaidh.

50 A nis so a deirim, a bhràithre,
nach feudar le feòil agus fuil rìogh-
achd Dhé a shealbhachadh; mar eigh-
neachd; ni mò a shealbhaicheas
truaillidheachd neo-thruaillidheachd.
51 Feuch, labhraim ni diomhair
ribh; Cha choidil sinn uile, ach
caochlaidhear sinn uile,
52 Ann an tiota, ann priobadh na
sùl, ri guth na trompaide deireann-
aich, (oir séididh an trompaid) agus
éiridh na mairbh neo-thruaillidh, agus
caochlaidhear sinne.
53 Oir is éigin do'n chorp thruaill-
idh so neo-thruaillidheachd a chur
uime, agus do'n chorp bhàsmhor so
neo-bhàsmhorachd a chur uime.
54 Agus an uair a chuireas an
corp truaillidh so neo-thruaillidheachd
uime, agus a chuireas an corp bàs-
mhor so neo-bhàsmhorachd uime, an
sin coimhlionar am focal a ta sgrìobh-
ta, Shluigeadh suas am bàs le buaidh.
55 O bhàis, c'ait am bheil do
ghath? O uaigh, c'ait am bheil do
bhuaidh?
56 Is e am peacadh gath a' bhàis;
agus is e neart a' pheacaidh an
lagh.
57 Ach buidheachas do Dhia, a
tha toirt dhuinne na buadha, trìd ar
Tighearna Iosa Criosd.
58 Uime sin, mo bhràithre gràdh-
ach, bithibhse daingean, neo-ghluas-
adach, a' sìr-mheudachadh ann an
obair an Tighearna, air dhuibh fios a
bhi agaibh nach 'eil bhur saothair
dìomhain anns an Tighearna.

CAIB. XVI.

1 *Tha e guidheadh orra fuasgladh air
airceasbhuidh nam bràithre bochda
ann an Ierusalem; 10 a' moladh
Thimoteuis; agus an déigh comh-
airlean càirdeil, 16 a' crìochnach-
adh na litreach le iomadh fàilte.*

ANIS a thaobh an tionail air son
nan naomh, mar a dh'orduich
mi do eaglaisibh Ghalatia, mar sin
deanaibhse mar an ceudna.
2 Air ceud là gach seachdmhuin,
cuireadh gach aon agaibh ni leis féin
anns an ionmhas[u], a réir mar a

[s] *lombaigh, dreach, coslas.* [t] *plàtha, mionaid.*
[u] *taisgeadh gach aon agaibh làimh ris ann an stòr.*

shoirbhich leis, chum nach bi tionail r'an deanamh 'nuair a thig mise.

3 Agus an uair a thig mi, cò air bith iad a mholas sibh le'r litrichibh, cuiridh mi iadsan a ghiùlan bhur tabhartais gu Hierusalem.

4 Agus ma's iomchuidh mise a dhol mar an ceudna, théid iadsan a'm' chuideachd.

5 Agus thig mi d'ar n-ionnsuidhse, 'nuair a théid mi tre Mhacedonia: (oir tha mi dol tre Mhacedonia.)

6 Agus feudaidh e bi gu'm fan mi, no eadhon gu'n caith mi an geamhradh maille ribh, chum's gu'n d'thoir sibh air m'aghaidh mi, ge b'e àit d'an d'théid mi.

7 Oir cha'n àill leam bhur faicinn a nis san dol seachad, ach tha dùil agam fantuinn rè tamuill maille ribh, ma leigeas an Tighearn dhomh.

8 Ach fanaidh mi ann an Ephesus gu Cuingeis.

9 Oir dh'fhosgladh dorus mòr agus éifeachdach dhomhsa, agus *tha* mòran eascairdean[a] ann.

10 A nis ma thig Timoteus, feuchaibh gu'm bi e gun eagal maille ribh: oir tha e a' saoithreachadh ann an obair an Tighearna, mar a ta mise.

11 Uime sin na deanadh neach sam bith tàir air: ach thugaibh air aghaidh e an sìth, chum's gu'n d'thig e a' m' ionnsuidhse: oir tha sùil agam ris maille ris na bràithribh.

12 Mu thimchioll *ar* bràthar Apollois, ghuidh mi gu dùrachdach air teachd d'ar n-ionnsuidhse maille ris na bràithribh: ach cha b'i a thoil air chor sam bith teachd san àm so; ach thig e 'nuair a gheibh e àm iomchuidh.

13 Deanaibh faire, seasaibh gu daingean sa' chreidimh, bithibh fearail[b], bithibh làidir[c].

14 Biodh bhur n-uile nithe air an deanamh le gràdh.

15 Agus guidheam oirbh, a bhràithre, (o's aithne dhuibh teaghlach Stephanais, gur h-iad ceud thoradh Achaia, agus gu'n d'thug siad iad féin chum frithealaidh do na naomhaibh.)

16 Gu'm bi sibh ùmhal d'an leithidibh sin, agus do gach aon a ni obair agus saothair maille ruinne.

17 Tha mi subhach ri teachd Stephanais, agus Fhortunatuis, agus Achaicuis: oir rinn iad suas an nì sin a bha dh' uireasbhuidh d'ar taobhsa.

18 Oir thug iad suaimhneas[d] do m' spioradsa, agus d'ar *spioradsa*: uime sin biodh meas agaibh air an leithidibh sin[e].

19 Tha eaglaisean na h-Asia a' cur fàilte oirbh. Tha Acuila agus Priscilla, maille ris an eaglais a tha 'nan tigh, a' cur mòr fhàilte oirbh anns an Tighearn.

20 Tha na bràithrean uile a' cur fàilte oirbh. Cuiribhse fàilte air a chéile le pòig naomha.

21 Fàilte uamsa Pòl le m' làimh féin.

22 Ma tha neach sam bith nach gràdhaich an Tighearn Iosa Criosd, biodh e 'na Anatema, Maranata[f].

23 *Gu robh* gràs an Tighearna Iosa Criosd maille ribh.

24 Mo ghràdhsa maille ribh uile ann an Iosa Criosd. Amen.

[a] *luchd cur an aghaidh* an t-soisgeil. [b] *duineil.* [c] *neartaichibh sibh féin.* [d] *fois.* [e] *aithnichibh an leithide sin.* [f] *biodh e mallaichte gu bràth.*

DARA LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN CORINTIANACH.

CAIB. I.

3 Tha an t-abstol a' toirt misnich dhoibh an aghaidh thrioblaid thaobh na comhfhurtachd agus an fhuasglaidh a thug Dia dhasan 'na uile thrioblaidibh féin, 8 gu sonraichte 'na chunnart san Asia: 12 agus a' gairm an coguis-san, agus a choguis féin chum fianuis gu'n do shearmonaich e an soisgeul gu treibhdhireach, &c.

POL abstol Iosa Criosd tre thoil Dé, agus Timoteus *ar* bràthair, chum eaglais Dé a ta an Corintus, maille ris na h-uile naoimh a ta ann an Achaia uile:

2 Gràs dhuibhse, agus sìothchaint o Dhia ar n-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Criosd.

3 Beannuichte *gu robh* Dia, eadhon Athair ar Tighearna Iosa Criosd, Athair nan tròcair, agus Dia na h-uile chomh-fhurtachd;

4 A tha toirt comhfhurtachd dhuinne 'nar n-uile àmhghar[g], chum sinne bhi comasach air comhfhurtachd a thoirt dhoibhsan a ta ann an àmhghar sam bith, tri na comhfhurtachd leis am bheil sinn féin a' faotainn comhfhurtachd o Dhia.

5 Oir mar a ta fulangais Chriosd[h] a' pailt annainne, is amhuil sin a ta ar comhfhurtachd-ne mar an ceudna pailte tre Chriosd.

6 Agus ma tha sinn fuidh àmhghar, *is ann air* son bhur comhfhurtachd agus bhur slàinte, a tha air a h-oibreachadh le sibh a bhi fulang nan fulangas ceudna, a tha sinne a' fulang: no ma ta comhfhurtachd dhuinn, *is ann* chum bhur comhfhurtachd agus bhur slàinte.

7 Agus *a ta* ar dòchas daingean d'ar taobhsa, do bhrigh gu bheil fios againn, mar a ta sibh 'nar luchd-combpairt do na fulangasaibh, gu'm *bi sibh* mar an ceudna do'n chomhfhurtachd.

8 Oir cha b'àill leinn, a bhràithre, sibhse bhi ain-fhiosrach mu thimchioll ar n-àmhghair a thachair dhuinne san Asia, gu'n do bhruthadh sinn gu ro mhòr thar ar neart, ionnas gu robh sinn fuidh amharus eadhon mu'r beatha:

9 Ach bha againn binn[i] ar bàis annainn féin, chum nach biodh againn dòigh annainn féin, ach ann an Dia a dhùisgeas na mairbh:

10 Neach a shaor sinne o bhàs co mòr, agus a ta 'gar saoradh; anns am bheil ar dòchas gu'n saor e *sinn* fathast:

11 Air dhuibhse bhi a' comh-oibreachadh le chéile ann an ùrnuigh air ar soinne, chum gu tugar buidheachas le mòran air ar soinne, a leth an tiodhlaic a thugadh dhuinne, tre mhòran.

12 Oir is e so ar gàirdeachas-ne, fianuis ar coguis, gur ann an aon-fhillteachd[l] agus an treibhdhireas dhiadhaidh[m], agus cha'n ann an gliocas feolmhor, ach ann an gràs Dhé a chaith sinn ar beatha san t-saoghal, agus gu h-àraidh d'ar taobhsa.

13 Oir cha'n 'eil sinn a' sgriobhadh nithe sam bith eile d'ar n-ionnsuidhse, ach nan nithe a ta sibh a' leughadh[n], no a ta sibh ag aideachadh, agus a ta dùil agam a dh'aidicheas sibh gus a' chrioch;

14 Amhuil mar a dh'aidich sibh an cuid, gur sinn bhur gàirdeachas, mar

g thrioblaid. h fulangais air son Chriosd. i breth. l simplidhireachd.
m an treibhdhireas a's mò; treibhdhireas Dhé. Gr. n a's aithne dhuibh.

is sibhse mar an ceudna ar *gairdeachasne*, ann an là an Tighearn Iosa.

15 Agus anns a' mhuinighin so b'àill leamsa teachd d'ar n-ionnsuidh air tùs, ionnus gu faigheadh sibhse ath-*ghràs*[o]:

16 Agus gabhail uaibhse[p] gu Macedonia, agus teachd o Mhacedonia a rìs d'ar n-ionnsuidhse, agus a bhi air mo thoirt air m'aghaidh leibhse san t-slighe gu Iudea.

17 Uime sin an uair a chuir mi so romham, an do ghnàthaich mi eutruimeachd[r]? no an ann a rèir na feòla a ta mi cur romham, na nithe a a chuiream romham, ionnus gu biodh agam seadh, seadh, agus ni h-eadh, ni h-eadh?

18 Ach *mar a ta* Dia fìrinneach, cha b'e ar còmhradh ribhse seadh, agus ni h-eadh?

19 Oir Mac Dhé Iosa Criosd, a shearmonaicheadh 'nar measgsa leinne, *eadhon* leamsa, agus *le* Siluanus, agus *le* Timoteus, cha robh e 'na sheadh agus 'na ni h-eadh, ach annsan bha seadh.

20 Oir geallanna Dhé uile annsan *is* seadh iad, agus annsan *is* amen iad, chum glòire Dhé d'ar taobhne.

21 A nis an ti a dhaingnicheas sinne maille ribhse ann an Criosd, agus a dh'ùng sinn, *is e* Dia:

22 Neach mar an ceudna a chuir seula oirnne, agus a thug dhuinn geall-daingnich[s] an Spioraid ann ar cridhibh.

23 Ach goiream Dia mar fhianuis air m'anam[t], gur ann chum sibhse a chaomhnadh nach d'thainig mi fathast gu Corintus.

24 Cha'n e gu bheil againne tighearnas air bhur creidimhse, ach is luchd-cuideachaidh sinn d'ar n-aoibhneas: oir is ann tre chreidimh a sheasas sibh.

CAIB. II.

1 *Air dha an reuson a chur an cèill air son nach d'thainig e d'an ionnsuidh,* 6 *tha e 'g iarraidh orra maitheanas agus comhfhurtachd a thoirt do'n duine a dhruideadh a mach leo as an eaglais,* 10 *eadhon mar a thug e féin mar an ceudna maitheanas da, air son fhìor aithreachais:* &c.

ACH chuir mi so romham annam féin, gun teachd a rìs fuidh dhoilgheas d'ar n-ionnsuidh.

2 Oir ma ni mise doilich sibhse, cò e ma ta ni subhach mise ach an ti air an do chuireadh doilgheas leam?

3 Agus scrìobh mi an ni so fèin d'ar n-ionnsuidh, chum air dhomh teachd, nach cuirte doilgheas orm leis a' mhuinntir sin o'm bu chòir dhomh soibhneas fhaotainn, air dhomh bhi muinghinneach asaibh uile, gur e m'aoibhneas bhur *n-aoibhneas* uile.

4 Oir a trioblaid mhòir agus cràdh cridhe, scrìobh mi d'ar n-ionnsuidh le iomadh deur; cha'n ann chum gu'n biodh doilgheas oirbh, ach chum gu'm biodh fios agaibh air a' ghràdh a ta agam gu ro-phailte dhuibh.

5 Ach ma thug neach sam bith aobhar doilgheis, cha do chuir e doilgheas ormsa, ach an càil: chum nach cuirinn ro-uallach oirbh uile.

6 *Is* leòir d'a leithid sin do dhuine am peanas so, a *leagadh* air le mòran.

7 Ionnus air an làimh eile, gur mò *is còir* dhuibh maitheanas agus comhfhurtachd a thoirt *da*, air eagal gu'm biodh a leithid so do dhuine air a shlugadh suas le anabarra doilgheis.

8 Uime sin guidheam oirbh, gu'n daingnicheadh sibh *bhur* gràdh dha.

9 Oir is ann chum na crìche so a scrìobh mi *d'ar n-ionnsuidh,* chum gu'm biodh fios bhur dearbhaidh agam, am bheil sibh ùmhal anns na h-uile nithibh.

10 Ge b'e neach d'an toir sibh maitheanas ann an ni sam bith, bheiream-sa mar an ceudna: oir ma thug mise maitheanas ann an ni sam bith, ge b'e d'an d'thug mi am maitheanas, is ann air bhur sonsa *thug mi e,* am fianuis Chriosd[u];

11 Air eagal gu faigheadh Satan an cothrom oirnn le chuilbheartachd;

[o] *ath-thiodhlacadh.* [p] *dol bhur rathadsa.* [r] *iomluas.*
[s] *earlas.* [t] *an aghaidh m'anama.* [u] *am pearsa.*

oir cha 'n 'eil sinn aineolach air inn-leachdaibh.

12 Os bàrr, 'nuair a thainig mi gu Troas chum *soisgeul Chriosd a shearmonachadh* agus adh 'fhosgladh dorus dhomh leis an Tighearn,

13 Cha robh fois agam ann am spiorad, do bhrigh nach d'fhuair mi Titus mo bhrathair: ach air gabhail mo chead diubh, dh'imich mi o sin do Mhacedonia.

14 A nis buidheachas do Dhia, a ta ghnàth a' toirt oirnne buadhachadh ann an Criosd, agus a ta foillseachadh *fdeatlh* àile eòlais féin leinne anns gach àit.

15 Oir tha sinne do Dhia 'nar n-àile cùbhruidh Chriosd, anns an droing a shlànuichear, agus anns an droing a sgriosar[a].

16 Do'n aon droing *tha sinn* 'nar boltrach bàis chum bàis; agus do'n droing eile, 'nar boltrach beatha chum beatha: agus cò *a ta* foghainteach chum nan nithe so?

17 Oir cha 'n'eil sinne mar mhòr-an, a thruailleas focal Dé: ach mar o thréibhdhireas, ach mar o Dhia, tha sinn a' labhairt am fianuis Dé ann an Criosd[b].

CAIB. III.

1 *Air eagal gu'n cuireadh luchd-teagaisg bréige as a leth gu robh e deanamh uaill gu diomhain, tha e a' nochdadh gu robh gràsa nan Corintianach 'nan aobhar molaidh d' a mhinistreileachd.* 6 *Air so tha e a' coimh-shìneadh ministeirean an lagha, agus an t-soisgeil r'a chéile, &c.*

AN tòisich sinn a ris air sinn féin a mholadh? no am bheil feum againn, mar aig dream àraidh, air litrichibh molaidh d'ar n-ionnsuidhse, no air *litrichibh* molaidh uaibh?

2 Is sibhse ar litir-ne a ta sgrìobhta 'nar cridhibh, air a h-aithneachadh agus air a leughadh leis na h-uile dhaoinibh:

3 *Air dhuibh bhi* foillseach gur sibh litir Chriosd, a fhrithealadh leinne, a tha air a sgrìobhadh cha'n ann le dubh, ach le Spiorad an Dé bheo; cha 'n ann air clàraibh cloiche, ach air clàraibh feòlmhor a' chridhe.

4 Agus tha a leithid so do dhòchas againne tre Chriosd thaobh Dhé.

5 Cha 'n e gu bheil sinn foghainteach uainn féin chum ni sam bith a smuaineachadh[c] mar asainn féin: ach is ann o Dhia *a ta* ar foghainteachd;

6 A rinn sinne mar an ceudna 'nar ministeiribh foghainteach na tiomna-nuaidh[f], cha'n ann do'n litir, ach do'n Spiorad: oir marbhaidh an litir, ach bheir an Spiorad beatha.

7 Ach ma bha ministreileachd[g] a bhàis, ann an sgrìobhadh air a ghearradh[h] air clachaibh, glòrmhor, ionnus nach b'urradh clann Israeil amharc gu geur air gnùis Mhaois, air son glòire a ghnùise, a chuireadh air cùl;

8 Cionnus nach mò na sin a bhios ministreileachd an Spioraid glòrmhor?

9 Oir ma *bha* ministreileachd an dìtidh glòrmhor, is ro mhò na sin a bheir ministreileachd na fìreantachd barrachd ann an glòir.

10 Oir eadhon an ni a rinneadh glòrmhor, cha robh glòir sam bith aige sa' chàs so, thaobh na glòire a tha toirt barrachd.

11 Oir ma *bha* an ni a chuireadh air cùl glòrmhor, is ro mhò na sin *a ta* an ni a bhuanaicheas glòrmhor.

12 Uime sin do bhrigh gu bheil againn a shamhail so do dhòchas[i], tha sinn a' cleachdadh mòr dhànachd[l] cainnte.

13 Agus cha'n *'eil* sinn mar Mhaois a chuir folach air aghaidh, chum nach amhairceadh clann Israeil gu geur gu crìch an ni a chuireadh air cùl.

14 Ach dhalladh an inntinn: oir gus an là an diugh ann an leughadh na seann-tiomnaidh[m], tha 'm folach ceudna a' fantuinn gun atharrachadh, ni a chuireadh air cùl ann an Criosd.

15 Ach eadhon gus an là 'n diugh

[a] *a chaillear.* [b] *ma Chriosd.* [c] *uaibh bhur.* [d] *do dhòchas.* [e] *a mheas, a reusonachadh.* [f] *a' choimhcheangail nuaidh.* [g] *frithealadh.* [h] *ghràbhaladh.* [i] *carbsa.* [l] *shoilleireachd.* [m] *an t-seann-tiomnaidh.*

'nuair a leughar Maois, tha am folach air an cridhe.

16 Gidheadh 'nuair a philleas e chum an Tighearna, togar am folach dheth.

17 A nis 'se an Tighearn an Spiorad sin: agus far am *bheil* Spiorad an Tighearna, tha saorsa an sin.

18 Ach air bhi dhuinne uile le aghaidh gun fholach, ag amharc mar ann an sgàthan air glòir an Tighearna, tha sinn air ar n-atharrachadh chum na h-ìomhàigh[n] ceudna, o ghlòir gu glòir, mar le Spiorad an Tighearna.

CAIB. IV.

1 *Tha e cur an céill gu'n do shearmonaich e an soisgeul le dìchioll agus ann an tréibhdhireas; 7 agus cionnus a dh'oibrich na trioblaidean agus an geur-leanmhuinn a dh'fhuiling e air a shon, chum cliu cumhachd Dhé, &c.*

UIME sin air do'n mhinistreileachd so bhi againn, a réir mar a fhuair sinn tròcair, cha 'n'eil sinn a' fannachadh[o];

2 Ach chuir sinn cùl ri nithibh folaichte na nàire[p], gun sinn bhi a' siubhal ann an ceilg, no a' truailleadh focail Dé, ach le foillseachadh na fìrinn, 'gar moladh féin do choguis nan uile dhaoine ann an sealladh Dhé.

3 Ach ma tà ar soisgeulne folaichte[r], is ann doibhsan a ta caillte[s] tha e folaichte:

4 Anns an do dhall dia an t-saoghail so inntinn na droinge nach 'eil 'nan creidmhich, air eagal gu'n dealraicheadh orra solus soisgeil glòrmhoir Chriosd, neach a's e ìomhaigh Dhé.

5 Oir cha 'n'eil sinne 'gar searmonachadh féin, ach Iosa Criosd an Tighearn; agus sinn féin 'nar seirbhisich dhuibhse air son Iosa.

6 Oir *is e* Dia a thubhairt ris an t-solus soillseachadh a dorchadas, a dhealraich ann ar cridhiblhne, a *thoirt* soluis eòlais glòire Dhé, ann an gnùis Iosa Criosd.

7 Ach a ta an t-ionmhas so againn ann an soithichibh creadha, chum gu'm bi oirdheirceas a' chumhachd o Dhia, agus cha'n ann uainne.

8 *Tha sinn* fuidh thrioblaid air gach taobh, gidheadh cha '*n'eil* sinn ann an teanntachd[t]; *tha sinn* ann an iom-chomhairle, gidheadh gun sinn ann an ea-dòchas;

9 Air ar geur-leanmhuinn, gidheadh gun *sinn* air ar tréigsinn; air ar tilgeadh sìos, gidheadh gun *sinn* air ar sgrios;

10 A' giùlan a ghnàth bàsachaidh an Tighearna Iosa mu'n cuairt, anns a' chorp, chum gu biodh beatha Iosa mar an ceudna air a deanamh follaiseach ann ar corpne.

11 Oir tha sinne a tha beo, a ghnàth air ar toirt chum bàis air son Iosa, chum gu biodh mar an ceudna beatha Iosa air a deanamh follaiseach 'nar feoil bhàsmhoirne.

12 Uime sin tha bàs ag oibreachadh annainne, ach beatha annaibhse.

13 Air dhuinn an spiorad creidimh sin féin a bhi againn, a réir mar a ta e sgrìobhta, chreid mi, agus uime sin labhair mi: tha sinne a' creidsinn mar an ceudna, agus uime sin tha sinn a' labhairt;

14 Air dhuinn fios a bhi againn, an tì a thog suas an Tighearn Iosa, gu'n tog e sinne suas mar an ceudna trid Iosa, agus gu'n cuir e 'na làthair *sinn* maille ribhse.

15 Oir tha na h-uile *nithe* air bhur sonsa, chum gu biodh an gràs a tha saibhir, tre bhuidheachas mhòrain, ro phailte chum glòire Dhé.

16 Uime sin cha 'n'eil sinn a' fannachadh, ach ged tha truaillear an duine o'n leth muigh, gidheadh tha an duine o'n leth stigh air ath-nuadhachadh o là gu là.

17 Oir a ta ar n-àmhghar eutrom, nach 'eil ach re sealain[u], ag oibreachadh dhuinne trom chudthrom glòire *a ta* ni's ro anabharraich *agus* sìormhaireannach;

18 Air dhuinn bhi ag amharc cha'n ann air na nithibh a tha r'am faicinn, ach air na nithibh nach 'eil r'am

[n] *an dealbha, an riochda* [o] *a' lagachadh.* [p] *a' mhealaidh, na h-eusonoir.* [r] *fa fholach.* [s] *a tha 'gan sgrios féin.* [t] *cumhaingeachd.* [u] *tiota, mionaid.*

faicinn: oir tha na nithe a chithear,
aimsireil; ach tha na nithe nach
faicear, siorruidh.

CAIB. V.

*1 Gu bheil sinn an dòchas glòire
shiorruidh, agus le sùil rithe, agus
ris a' bhreth dheireannaich, a'
deanamh dichill air deadh choguis
a choimhead; 12 cha'n ann chum
gu deanadh e bòsd as féin thaobh so,
14 ach mar neach a fhuair beatha
o Chriosd, a ta e dìchiollach chum a
bheatha a chaitheadh do Chriosd a
mhàin, &c.*

OIR a ta fios againn, nan sgaoil-
teadh o chéile ar tigh talmhaidh
a' phàilliuin so, gu bheil againn
aitreabh o Dhia, tigh nach do thogadh
le làmhaibh, siorruidh anns na
nèamhaibh.
2 Oir a ta sinn ri osnaich an so, a'
miannachadh bhi air ar n-eudachadh[a]
le ar tigh o nèamh:
3 O air dhuinn bhi air ar n-eud-
achadh, nach faighear lomnochd sinn.
4 Oir tha sinne a tha anns a'
phàilliun so ri osnaich, air dhuinn
bhi fuidh uallaich? ni h-e air son
gu'm bu mhiann leinn bhi air ar
rùsgadh, ach air ar n-eudachadh,
chum gu bi bàsmhorachd air a slug-
adh suas le beatha.
5 A nis an ti a dh'oibrich sinne
chum so féin, is e Dia e, a thug
dhuinne mar an ceudna geall-daing-
nich[b] an Spioraid.
6 Uime sin *tha sinn* a' ghnàth
deadh-mhisneachail, air dhuinn fios
a bhi againn am feadh a ta sinn aig
an tigh sa' cholainn, gu bheil sinn
air choigrich o'n Tighearn:
7 (Oir a ta sinn a' gluasad[c] a réir
creidimh, agus cha'n ann a réir
seallaidh.)
8 Tha deadh mhisneach againn,
agus bu roghnuiche leinn gu mòr
bhi air choigrich as a' cholainn, agus
a bhi làthair maille ris an Tighearn.
9 Uime sin a ta sinn a' deanamh
ar dìchill, chum co aca bhios sinn a
làthair no air choigrich, gu'm bi sinn
taitneach dhasan.
10 Oir is éigin duinn uile bhi air
ar nochdadh an làthair caithir-breith-
eanais Chriosd; chum gu faigh gach
neach na nithe *a rinn e* sa' choluinn,
a réir an ni a rinn e, ma's maith
no olc e.
11 Uime sin air dhuinn fios a bhi
againn air uamhas an Tighearna, tha
sinn a' cur impidh air daoinibh; ach
a ta sinn follaiseach do Dhia, agus
tha dòchas agam mar an ceudna gu
bheil sinn air ar deanamh follaiseach
ann bhur coguisibhse.
12 Oir cha 'n'eil sinn 'gar moladh
féin a rìs dhuibhse, 'ach a ta sinn a'
toirt fàth[d] uaill dhuibh d'ar taobh,
chum gu bi *freagradh* agaibh dhoibh-
san a tha deanamh uaill ann an gnùis
agus ni h-ann an cridhe.
13 Oir ma tha sinn a dh'easbhuidh
céille, *is ann* do Dhia: agus ma ta
ar ciall againn, *is ann* duibhse.
14 Oir a ta gràdh Chriosd 'gar
coimh-éigneachadh, air dhuinn breith-
neachadh mar so, ma fhuair a h-aon
bàs air son nan uile, gu'n robh na
h-uile marbh:
15 Agus gu'n d'fhuair e bàs air
son nan uile, chum iadsan a ta beo,
nach biodh iad a so suas beo dhoibh
féin, ach dhasan a dh'fhuiling am
bàs air an son, agus a dh'éirich a rìs.
16 Uime sin, cha'n aithne dhuinne
a so suas aon duine a réir na feòla:
seadh, ge b'aithne dhuinn Criosd a
réir na feòla, gidheadh a nis cha'n
aithne dhuinn e ni's mò.
17 Uime sin ma *ta* neach sam bith
ann an Criosd, *is* creutair nuadh e:
chaidh na seann nithe seach, feuch,
rinneadh na h-uile nithe nuadh.
18 Agus is ann o Dhia *a ta* na
h-uile nithe, neach a rinn sinne réidh
ris féin tre Iosa Criosd, agus a thug
dhuinn ministreileachd na réite;
19 Eadhon, gu robh Dia ann an
Criosd a' deanamh an t-saoghail réidh
ris féin, gun bhi a' meas an cionta
dhoibh; agus dh'earb e ruinne[e] focal
na réite.
20 Uime sin is teachdairean sinn
air son Chriosd, mar gu cuireadh Dia
impidh leinne: tha sinne a' guidh-

[a] *cluth-eudachadh, còmhdachadh.* [b] *earlas.* [c] *a' gluasachd, ag imeachd, a' siubhal.* [d] *cothrom.* [e] *chuir e annainne. Gr.*

eadh *oirbh* as uchd[f] Chriosd, bithibh
réidh ri Dia.
21 Oir rinn se esan da nach b'aith-
ne peacadh, 'na ìobairt pheacaidh air
ar soinne; chum gu bitheamaid air
ar deanamh 'nar fìreantachd Dhé
annsan.

CAIB. VI.

1 *Gu'n do dhearbh se e féin 'na mhinisteir fìrinneach do Chriosd, araon le earailibh, 3 agus le ionracas a bheatha, 4 agus leis gach gnè trioblaid, agus maslaidh fhulang gu foighidneach air son an t-soisgeil: 10 umpa so tha e labhairt gu dàna riu, chionn gu bheil a chridhe fosgailte dhoibh; 13 agus tha dùil aige ris an aigne cheudna uatha; &c.*

UIME sin tha sinn mar chomh-
oibrichean *leis-san*, a' guidheadh
oirbh, gun sibh a' ghabhail gràis Dé
an dìomhanas:
2 (Oir a deir e, Ann an àm tait-
neach dh'éisd mi riut, agus ann an
là slàinte rinn mi còmhnadh leat:
feuch, a nis an t-àm taitneach; feuch,
a nis là na slàinte.)
3 Gun bhi tabhairt aobhair oil-
bheim air bith ann an aon ni, chum
nach faigheadh a' mhinistreileachd[g]
mi-chliu:
4 Ach anns gach ni 'gar dearbhadh
féin mar mhinisteiribh Dhé, ann am
mòr fhoighidin, ann an àmhgharaibh,
ann an uireasbhuidh, ann an teann-
tachdaibh,
5 Ann am buillibh, ann am prios-
unaibh, ann an luasgadh o àit gu
h-àit, ann an saothair, ann am faire,
ann an trosgaibh,
6 Ann am fìor-ghloine, ann an
eòlas, ann am fad-fhulangas, ann an
caoimhneas, anns an spiorad naomh[h],
ann an gràdh gun cheilg,
7 Ann am focal na fìrinn, ann an
cumhachd Dhé, le airm na fìrean-
tachd air an làimh dheis agus chlì,
8 Tre urram agus eas-urram, tre
mhi-chliu agus dheadh-chliu: mar
mhealltairibh, gidheadh fìrinneach;
9 Mar dhroing nach aithnichear,
gidheadh air am bheil deadh aithne;
mar dhroing a ta faghail a' bhais,
gidheadh feuch, tha sinn beo; mar
dhroing a smachdaichear, agus gun
am marbhadh;
10 Mar dhroing a ta brònach,
gidheadh a ghnàth a 'deanamh gaird-
eachais; mar *dhaoine* bochda, gidh-
eadh *a ta* deanamh mòrain saibhir;
mar dhaoine aig nach 'eil ni sam
bith, gidheadh a' sealbhachadh nan
uile nithe.
11 Tha ar beul-ne fosgailte
dhuibhse, O a Chorintianacha, tha
ar cridhe air a dheanamh farsuing.
12 Cha 'n'eil sibh ann an cumh-
angachd annainne, ach tha sibh ann
an cumhangachd ann bhur n-innibh
féin.
13 A nis mar ath-dhìoladh san ni
sin féin, (labhram mar ri *m'* chloinn)
bithibhse farsuing mar an ceudna.
14 Na cuing-cheanglar gu neo-
chothromach sibh maille ri mi-
chreidmhich: oir ciod e caidreabh
na fìreantachd ri neo-fhìreantachd?
agus ciod e commun an t-soluis ris
an dorchadas?
15 Agus ciod an réite a ta aig
Criosd ri Belial? no ciod i cuid a'
chreidmhich, maille ri anacreideach?
16 Agus ciod a' choimh-réite a ta
aig teampull Dé ri h-iodholaibh[i]?
oir is sibhse teampull an Dé bheo; a
réir mar a thubhairt Dia, Gabhaidh
mise còmhnuidh annta, agus gluaisidh
mi 'nam measg; agus bithidh mise
a'm' Dhia-acasan, agus bithidh iadsan
'nan sluagh agamsa.
17 Uime sin thigibh a mach as
am meadhon, agus dealaichibh *riu*,
deir an Tighearn, agus na beanaibh
ris an ni neo-ghlan; agus gabhaidh
mise a m' ionnsuidh sibh,
18 Agus bithidh mi a'm' Athair
dhuibh, agus bithidh sibhse 'nar mic
agus 'nar nigheanaibh dhomhsa, deir
an Tighearn uile-chumhachdach.

CAIB. VII.

1 *Tha e 'gan earalachadh chum gloine beatha, 2 agus chum an inntinn bhi aca dhasan a ta aige dhoibh; 3 air eagal gu saoilte gu'n robh e*

[f] *air son, an àit.* [g] [*ar*] *ministreileachd,* [*ar*] *fritheoladh,* [h] *leis an Spiorad naomh.* [i] *dealbhaibh.*

cur ss an amharus, tha e cur an
céill doibh meud a' chomhfhurtachd
a fhuair e 'na thrioblaidibh, o'n
sgeul a thug Titus dha air a bhròn
diadhaidh, a rinn an litir a chuir e
d'an ionnsuidh roimhe oibreachadh
annta, &c.

UIME sin, a mhuinntir mo
ghràidh, air dhuinn na geall-
anna so bhi againn, glanamaid sinn
féin o gach uile shalachar feòla agus
spioraid, a' coimhlionadh naomhachd
ann an eagal Dé.
2 Gabhaibh ruinne: cha d'rinn
sinn eucoir air aon duine, cha do
thruaill sinn aon duine, cha do mheall
sinn aon duine.
3 Cha'n ann chum bhur dìtidh a
labhram so: oir thubhairt mi roimhe,
gu bheil sibh ann ar cridhibhne chum
bàsachadh maille *ribh*, agus a bhi beo
maille *ribh*.
4 *Is* mòr mo dhànachd cainnte
d'ar taobhsa, *is* mòr m'uaill as bhur
leth: lìonadh le comhfhurtachd mi,
tha mi thar tomhas aoibhneach ann
ar n-uile àmhghar-ne.
5 Oir an uair a thainig sinn gu
Macedonia, cha d'fhuair ar feòil fois
sam bith, ach bha sinn fuidh àmhghar
air gach taobh; an leth am muigh *bha*
còmhraig, an leth a stigh *bha* eagla[l]:
6 Ach, an Dia a bheir comhfhurt-
achd doibhsan a tha air an leagadh
sios, thug e comhfhurtachd dhuinne
le teachd Thituis:
7 Agus ni h-e le a theachdsan a
mhàin, ach mar an ceudna leis a'
chomhfhurtachd a fhuair esan uaibhse,
'nuair a chuir e an céill duinn bhur
dian-thogradh, bhur caoidh[m], bhur
teas-ghràdh dhomhsa; air chor as
gur mòid a rinn mi gairdeachas.
8 Oir ge do chuir mi doilgheas
oirbh leis an litir, cha 'n'eil aithreach-
as orm, ge do bha aithreachas orm:
oir tha mi faicinn gu'n do chuir an
litir sin doilgheas oirbh, ge nach *do*
rinn i so ach rè tamuill.
9 A nis tha gairdeachas orm, cha'n
ann air son sibh a bhi doilich, ach gu
robh sibh doilich chum aithreachais[n]:
oir bha doilgheas oirbh air mhodh
diadhuidh, chum nach d'thigeadh call
oirbh ann an aon ni d'ar taobhne.
10 Oir oibrichidh am bròn diadh-
aidh aithreachas chum slàinte do
nach gabhar aithreachas: ach oib-
richidh doilgheas an t-saoghail bàs.
11 Oir feuch, an ni so féin doil-
gheas diadhuidh bhi oirbh, ciod e meud
an dùrachd a' dh'oibrich e annaibh,
seadh, *ciod* an glanadh oirbh féin[o],
seadh, *ciod* an ro-dhiom, seadh, *ciod*
an t-eagal, seadh *ciod* an dian-thog-
radh, seadh, *ciod* an t-eud, seadh, *ciod*
an togradh dioghaltais? anns gach ni
dhearbh sibh sibh féin bhi glan sa'
chùis so.
12 Uime sin ge do scriobh mi d'ar
n-ionnsuidh, cha b'ann air a shonsan
a rinn an eucoir, no air a shonsan
air an d'rinneadh an eucoir, ach a
chum gu foillsichte dhuibh ar cùr-
amne mu'r timchioll s'am fianuis Dé.
13 Uime sin fhuair sinn comh-
fhurtachd air son bhur comhfhurt-
achdsa: seadh, bu ro mhò a rinn sinn
gairdeachas, air son gairdeachais
Thituis, do bhrigh gu'n d'fhuair a
spiorad suaimhneas uaibhse uile.
14 Oir ma rinn mi bòsd[p] sam
bith risean asaibhse, cha 'n'eil nàire
orm; ach mar a labhair sinn na
h-uile nithe am fìrinn ribhse, is amhuil
sin a fhuaradh fìrinneach ar bòsd
asaibhse ri Titus.
15 Agus a ta dùrachd a chridhesan
ni's pailte d'ar taobhsa, air dha bhi a'
cuimhneachadh bhur n-ùmhlachd
uile, mar a ghabh sibh ris le h-eagal
agus ball-chrith.
16 Uime sin tha gairdeachas orm gu
bheil dànachd agam asaibh anns gach
ni.

CAIB. VIII.

1 *Tha e 'gam brosnachadh gu tional*
seirceil a dheanamh air son nan
naomh bochda ann an Ierusalem,
le eisempleir nam Macedonach, 7
le moladh an dian thograidh a bha
aca féin roimhe, 9 *le eisempleir*
Chriosd, 14 *agus leis an tairbhe*
spioradail a thigeadh dhoibh féin
o'n tabhartas sin: &c.

[l] *uamhunn.* [m] *bròn.* [n] *a tharrachadh inntinn.* [o] *an saoradh, an leithsgeul.* [p] *uaill, mordhail.*

ANIS, a bhràithre, tha sinn a'
toirt fios duibh air gràs Dé, a
a thugadh do eaglaisibh Mhacedonia:
2 Eadhon gu'n robh, ann am mòr
dhearbhadh àmhghair, pailteas an
aoibhneis, agus doimhne am bochd-
uinn, ro phailte chum saibhris am
fialuidheachd[r].
3 Oir (bheiream fianuis) *gu robh*
iad uatha féin toileach a réir an
comais, seadh, thar an comas:
4 A' guidheadh oirnne gu dùr-
achdach, gu'n gabhamaid an tiodhlac,
agus comh-roinn an fhrithealaidh do
na naomhaibh.
5 Agus ni h-ann mar a shaoil
sinne[s], ach thug siad iad féin air tùs
do'n Tighearn, agus *'na dhéigh sin*
dhuinne a réir toil Dé:
6 Air chor as gu'n do chuir sinn
impidh air Titus, a réir mar a thòis-
ich e roimhe, mar sin gu'n crìoch-
naicheadh e annaibhse an gràs[t] sin
féin mar an ceudna.
7 Uime sin mar a ta sibh pailte
anns gach uile ni, ann an creidimh,
ann an ùr-labhradh, agus ann an
eòlas, agus ann an uile dhìchioll,
agus ann bhur gràdh dhuinne, bithibh
pailte anns a' ghràs so mar an
ceudna.
8 Ni'n labhram so mar àithne, ach
a thaobh dùrachd dhaoin' eile, agus a
dhearbhadh tréibhdhireis bhur gràidh-
se.
9 Oir is aithne dhuibh gràs ar
Tighearna Iosa Criosd, ge do bha e
saibhir, gidheadh gu'n d'rinneadh
bochd e air bhur sonsa, chum gu
biodh sibhse saibhir trìd a bhochd-
uinnsan.
10 Agus anns *an ni* so bheiream
mo chomhairle: oir a ta so tarbhach[u]
dhuibhse, a thòisich roimhe, cha'n e
mhàin air deanamh, ach air a bhi
togarrach o cheann bliadhna.
11 A nis air an aobha sin coimh-
lionaibh an gnìomh[a]; ionnus mar a
bha sibh ullamh chum na toile, mar
sin gu'*m bi sibh* ullamh chum coimh-
lionaidh as na bheil agaibh.
12 Oir ma bhios air tùs inntinn
thoileach ann, gabhar ris a réir mar
a ta aig neach, *agus* ni h-ann a réir
nan nithe nach 'eil aige.
13 Cha'n ann chum gu'm biodh
socair aig daoin' eile, agus àmhghar
agaibhse.
14 Ach a' thaobh coimh-cheartais,
chum san àm so nis *gu'm bi* bhur
pailteas-sa 'na *choimh-leasachadh* air
an uireasbhuidhsan, agus mar an
ceudna chum gu'm bi am pailteas-
san 'na *choimh-leasachadh* air bhur
n-uireasbhuidhse, air chor as gu'm
bi coimh-cheartas *eadruibh*.
15 A réir mar a ta e scrìobhta, An
ti a *thionail* mòran, cha robh anabarr
aige; agus an ti a *thionail* beagan,
ach robh easbhuidh air.
16 Ach buidheachas do Dhia, a
chuir an cùram dùrachdach sin féin
d'ar taobhsa ann an cridhe Thituis.
17 Oir gu deimhin ghabh e ris an
impidh, ach air dha bhi ni bu togarr-
aiche, chaidh e d'a thoil féin d'ar
n-ionnsuidh.
18 Agus chuir sinne maille ris am
bràthair, aig am bheil *a* chliu san
t-soisgeul, feadh nan eaglais uile:
19 (Agus cha'n e *so* a mhàin, ach
thaghadh e leis na h-eaglaisibh mar
an ceudna mar chompanach turuis
dhuinne, leis an tiodhlac so a fhrith-
ealadh leinne chum glòire an Tigh-
earna sin féin, agus *chum foillseach-
aidh* bhur n-inntinn ullamhsa.)
20 A' seachnadh so, nach tugadh
neach air bith mi-chliu dhuinne
thaobh a' phailteis so a fhrithealadh
leinne:
21 Air dhuinn bhi solarachadh
nithe ciatfach, cha'n e mhàin am
fianuis an Tighearna, ach mar an
ceudna am fianuis dhaoine.
22 Agus chuir sinn maille riu ar
bràthair, a dhearbh sinn gu minic
dùrachdach ann mòran do nithibh, ach
a nis ni's ro dhùrachdaiche, thaobh
an ro-earbsa ta *aige*[b] asaibhse.
23 Ma *dh'fhiosraichear* ni sam bith
mu Thitus, *is e* mo chompanachsa e,
agus mo chomh-oibriche d'ar taobhsa:
no *mu thimchioll* nam braithre, *is iad*
teachdairean nan eaglais, *agus* glòir
Chriosd.

[r] *an daonnachda.* [s] *a bha dòchas againne.* [t] *tiodhlacadh.* [u] *iomchuidh-
eidh.* [a] *an deanamh.* [b] agam.

24 Uime sin nochdaibh dhoibhsan,
agus am fianuis nan eaglais, dearbh-
adh bhur gràidh-sa agus ar n-uaillne
d'ar taobh.

CAIB. IX.

1 *Tha e g' innseadh an reusoin air
son, ge do b'aithne dha am mòr thog-
radh féin, an do chuir e Titus agus
na bràithre roimh-làimh d'an ionn-
suidh g'am brosnachadh gu déirc a
thabhairt gu pailte, do bhrigh gur
gné shìol-chuir iad, 10 a bheir
bàrr pailte dhoibh féin, 13 agus
aobhar ìobairt mòr mholaidh do Dhia.*

OIR a thaobh frithealaidh do na
naomhaibh, is neo-fheumail
dhomhsa, scrìobhadh d'ar n-ionnsuidh.
2 Oir is aithne dhomh togarrachd
bhur n-inntinn, as leth an deanam
uaill asaibhse ris na Macedonaich,
ag ràdh, Gu robh Achaia ullamh o
cheann bliadhna; agus bhrosnaich
bhur n-eudsa ro-mhòran.
3 Gidheadh chuir mi na bràithre
d'ar n-ionnsuidh, air eagal gu'm
biodh ar uaillne asaibh dìomhain sa'
chùis so; chum, mar a thubhairt mi,
gu'm biodh sibh ullamh:
4 Air eagal ma thig na Macedon-
aich maille rium, agus gu'm faigh
iad sibhse neo-ullamh, gu'm bi nàire
oirnne (gun a ràdh oirbhse) a dànadas
na h-uaill so.
5 Uime sin bhreithnich mi gu'm
b'fheumail impidh chur air na
bràithribh, iad a dhol *air* tùs d'ar
n-ionnsuidhse, agus bhur tabhartas
air an do labhradh ribh roimhe, a
dheanamh deas, chum gu'm biodh
sin ullamh, mar thiodhlac[c], agus
cha'n ann mar ni a dh'aindeoin.
6 Ach so *deirearn*, An ti a chuireas
gu gann, buainidh e gu gann mar an
ceudna; agus an ti a chuireas gu pailte,
buainidh e gu pailte mar an ceudna.
7 *Thugadh* gach duine seachad a
réir rùin a chridhe; na b'ann an
doilgheas, no le h-éigin: oir is toigh
le Dia an neach a bheir seachad gu
suilbhir.
8 Agus *is* comasach Dia air gach
gràs a dheanamh ro phailte dhuibhse,
chum air dhuibh anns gach uile ni
làn leoir a bhi agaibh a ghnàth, gu'm
biodh sibh pailte chum gach deadh
oibre.
9 (A réir mar a ta e scrìobhta,
Sgaoil e a *chuid*; thug e do na
bochdaidh: mairidh fhìreantachd
a choidhch.
10 A nis an ti a bheir sìol do'n
fhear-cuird[d], agus aran chum bìdh,
gu tugadh e agus gu meudaicheadh
e bhur curachdsa, agus gu tugadh
e do thoradh bhur fìreantachd fàs.)
11 Air dhuibh bhi air bhur dean-
amh saibhir anns gach uile ni chum
gach uile thabhartais, ni a dh'oibrich-
eas leinne breith-buidheachais do
Dhia.
12 Oir a ta frithealadh na seirbhis
so, cha'n e mhàin a' leasachadh
uireasbhuidh nan naomh, ach a ta e
mar an ceudna pailte tre mhòran
breith-buidheachais do Dhia;
13 (Air dhoibh bhi tre dhearbhadh
an fhrithealaidh-sa a' toirt glòire do
Dhia air son bhur n-ùmhlachd do
shoisgeul Chriosd a réir bhur n-
aidmheil, agus air son bhur tabhartais
dhaonnachdaich[e] dhoibhsan, agus do
na h-uile *dhaoinibh*.)
14 Agus trìd an ùrnuigh air bhur
sonsa, aig am bheil mòr dhéidh
oirbh air son gràis Dé a ta ro phailte
annaibh.
15 Buidheachas do Dhia air son
a thiodhlaic do-labhairt[f].

CAIB. X.

1 *An aghaidh nan abstol bréige, a
bha deanamh tàir air anmhuinn-
eachd a phearsa agus air a làthair
chorporra, tha e cur an céill an
neart agus an t-ùghdarras spiorad-
ail sin leis an d'armaicheadh e
an aghaidh cumhachda a naimhd-
ean uile; 7 a' toirt cinnte dhoibh,
air dha teachd, gu'm faigheadh
iad e co chumhachdach ann am
focal agus a ta e nis ann an
scrìobhadh, agus e as an làthair:
&c.*

ANIS tha mise féin Pòl a' guidh-
eadh oirbh, tre mhacantas
agus shèimheachd Chriosd, neach air
dhomh a bhi làthair a ta ìosal 'nar

[c] *gean-maith.* [d] *do'n t-sìoladair.* [e] *fhialuidh.* [f] *do-chur-an-céill.*

measg, ach air dhomh a bhi uaibh a
ta dàna oirbh.
2 Ach iarram oirbh *dh'athchuinge*,
gun *sibh'a thoirt orm* an uair a bhios
mi làthair, bhi dàna, leis a' mhuin-
ghin[g] leis an saoilear mi bhi dàna 'n
aghaidh droinge àraidh a tha toirt
meas oirnne, mar gu bitheamaid ag
imeachd a réir na feòla.
3 Oir ge do tha sinn ag imeachd[h]
anns an fheòil, cha'n ann a réir na
feòla ta sinn a' cogadh:
4 (Oir ar n-airm chogaidh ni'm
feòlmhor iad, ach cumhachdach o
Dhia chum daingnichean a leagadh.)
5 A' tilgeadh sìos reusonachaidh,
agus gach ni àrd a dh'àrdaicheas e féin
an aghaidh eòlais Dé, agus a' toirt
am braighdeanas gach smuainteach
chum ùmhlachd Chriosd:
6 Agus dìoghaltas ullamh againn
r'a dheanamh air gach uile easumh-
lachd, 'nuair a choimhlionar bhur
n-ùmhlachdsa.
7 An amhairc sibh air nithibh a
réir an coslais? ma tha dochasi aig
aon neach as féin, gur le Criosd e,
smuainicheadh e so a rìs uaith féin,
mar is le Criosd esan, gur le Criosd
sinne mar an ceudna.
8 Oir ge do dheanainn càileigin
ni's mò dh'uaill as ar cumhachdne,
(a thug an Tighearna dhuinn chum
fòghluim[l], agus cha'n ann chum
bhur sgrios-sa) cha bhiodh nàire
orm:
9 Chum nach measar mi mar gu'm
bithinn a' cur eagail oirbh le litrich-
ibh.
10 Oir a ta *a* litrichean (a deir
iadsan) cudthromach agus làid'r, ach
a ta a làthaireachd chorporra an-
mhunn[m], agus a chainnt tàireil.
11 Smuainicheadh a leithid sin *do
dhuine* so, mar a ta sinne ann am focal
tre litrichibh, agus sinn as làthair,
mar sin gu'*m bi sinn* ann an gniomh
air dhuinn a bhi làthair.
12 Oir cha 'n'eil a dhànadas[n]
againne sinn féin a chur an àireamh,
no a choimeas ri dream àraidh a
mholas iad féin: ach air dhoibhsan
bhi 'gan tomhas féin eatorra féin,
agus 'gan coimeas féin riu féin, cha
'n'eil iad glic.
13 Ach cha dean sinne uaill a
nithibh a tha thar *ar* tomhas, ach a
réir tomhais na riaghail[o] a roinn Dia
dhuinne, eadhon tomhas a ruigeas
oirbhse.
14 Cha 'n'eil sinne 'gar sineadh
féin thar *ar tomhas*, mar nach ruig-
eamaid sibhse; oir thainig sinn eadh-
on chugaibhse[p], le soisgeul Chriosd:
15 Gun sinn a bhi deanamh uaill
a nithibh a ta thar *ar* tomhas, *eadhon*
a saothairibh dhaoin' eile; ach a ta
dòchas againn, 'nuair a mheudaich-
ear bhur creidimhse, gu'm faigh sinn
farsaingeachd gu pailte annaibh a réir
ar riaghailne,
16 Chum an soisgeul a shearmon-
achadh anns na *h-ionadaibh* an taobh
thall duibhse, *agus* cha'n ann chum
uaill a dheanamh ann an riaghail duin'
eile, a nithibh a ta ullamh a cheana.
17 Ach an ti a ni uaill, deanadh e
uaill anns an Tighearn.
18 Oir cha'n e an ti a mholas e
féin a tha ionmholta[r], ach an ti a
mholas an Tighearn.

CAIB. XI.

1 *Tre ro-mheud a chùraim do na Co-
rintianaich, d'an robh e'n coslas tuill-
eadh spéis thoirt do na h-abstolaibh
bréige na dhasan, tha e a' tòiseach-
adh dh'aindeoin ri e féin a mholadh,
5 ag innseadh nach robh e a bheag
goirid air na h-abstoil bu mhò, 7
gu'n do shearmonaich e an soisgeul
dhoibh gu saor, 13 a' nochdadh
nach robh e a bheag a dheidh-làimh
air an luchd-oibre chealgach sin,
thaobh aon sochair a bhuineadh do'n
lagh, &c.*

BFHEARR leam gu'n giùlain-
eadh sibh beagan le m' amaid-
eachd; agus da rìreadh giùlainibh
leam.
2 Oir a ta mi eudmhor umaibh le
h-eud diadhuidh: oir rinn mi ceangal
pòsaidh eadar sibh agus aon fhear,
chum bhur cur mar òigh fhìor-ghloin
an làthair Chriosd.
3 Ach a ta eagal orm, air dòigh

[g] *mhisnich, urrasachd.* [h] *gluasad, siubhal.* [i] *earbsa.* [l] *togail suas.*
[m] *lag.* [n] *a mhisnich.* [o] *riaghailt.* [p] *thugaibhse.* [r] *dearbhta.*

sam bith, mar a mheall an nathair Eubha leis a cuilbheartachd, mar sin gu'n truaillear bhur n-inntinnse o'n aon-fhillteachd a ta ann an Criosd.

4 Oir nan deanadh an neach a thig Iosa eile a shearmonachadh nach do shearmonaich sinne, no *nam* faigheadh sibhse spiorad eile, nach d'fhuair sibh, no soisgeul eile ris nach do ghabh sibh, dh'fheudadh sibh gu maith giùlan *leis.*

5 Oir is i mo bharailse nach robh mi a bheag goirid air na h-abstolaibh a b'àirde.

6 Ach ge *do tha* mi neo-fhòghluimte ann an cainnt, gidheadh cha 'n'eil mi *mar sin* ann an eòlas; ach rinneadh sinn làn-fhollaiseach anns na h-uile nithibh 'nar measgsa.

7 An d'rinn mi cionta le mi féin ìsleachadh chum gu'm biodh sibhse air bhur n-àrdachadh, *no* a chionn gu'n do shearmonaich mi soisgeul Dé a *nasgaidh* dhuibh?

8 Chreach mi eaglaisean eile, a' gabhail tuarasdail *uatha*, chum seirbhis a dheanamh dhuibhse.

9 Agus an uair a bha mi làthair maille ribhse agus uireasbhuidh orm, cha do leig mi mo throm air duine sam bith: oir leasaich na bràithrean, a thainig o Mhacedonia m'uireasbhuidh: Agus anns na h-uile nithibh choimhid mi mi féin o m' throm a leigeadh oirbhse, agus coimhididh.

10 Mar a ta fìrinn Chriosd annam, cha chuirear an uaill so uam ann an crìochaibh na h-Achaia.

11 C'ar son? An ann a chionn nach 'eil gràdh agam dhuibh? Tha fios aig Dia.

12 Ach an ni a ta mi deanamh, ni mi fathast e, chum gu toir[s] mi air falbh cionfàth[t] uathasan le'm bu mhiann cionfàth fhaotainn, chum 'n anns an ni as am bheil iad a' deanamh uaill, gu faighear iad eadhon mar sinne.

13 Oir is ann d'an leithidibh sin *a ta* abstola bréige, luchd-oibre cealgach, 'gan cur féin ann an cosamhlachd abstola Chriosd.

14 Agus cha'n iongantach *sin*: oir cuirear Satan féin an cruth[u] aingil soillse.

15 Uime sin cha ni mòr *e* ge do chuirear a mhinisteirean mar an ceudna ann an cruth mhinisteirean na fìreantachd; aig am bi an crìoch dheireannach a réir an oibre.

16 A deiream a rìs, Na measadh aon neach gur amadan mi; no fòs, gabhaibh rium mar amadan féin, chum gu'n dean mi beagan uaill asam féin.

17 An ni a labhram, ni h-ann a réir an Tighearna a labhram *e*, ach mar gu b'ann gu h-amaideach anns an dànadas uaille so.

18 Do bhrigh gu bheil mòran a' deanamh uaill a réir na feòla, ni mise uaill mar an ceudna.

19 Oir giùlainidh sibh gu toileach le amadanaibh, do bhrigh gu bheil sibh *féin* glic.

20 Oir fuilgidh sibh ma bheir neach an daorsa sibh, ma dh'itheas[a] neach *sibh*, ma bheir neach bhur cuid *dhibh*, ma dh'àrdaicheas neach e féin, ma bhuaileas neach air an aghaidh sibh.

21 Labhram thaobh eas-urraim, mar gu'm bitheamaid anmhunn: ach, ge b'e ni anns a' bheil neach air bith dàna, (labhram gu h-amaideach) a ta mise dàna *ann* mar an ceudna.

22 An Eabhruich iad? *mar sin tha* mise mar an ceudna: An Israelich iad? *mar sin tha* mise mar an ceudna: An sliochd do Abraham iad? *mar sin tha* mise mar an ceudna:

23 Am ministeirean do Chriosd iad? (labhram mar dhuine mi-chéillidh) ataimse os an ceann *san ni so*: ann an saothairibh ni's pailte, ann am buillibh ni's ro mhò[b], am priosunaibh ni's trice, am bàsaibh gu minic.

24 Fhuair mi o na h-Iudhachaibh cùig uairean dà fhichead *buille ach a* h-aon.

25 Ghabhadh le slataibh orm tri uairean, chlachadh mi aon uair, dh'fhuiling mi long-bhriseadh tri uairean; là agus oidhche bha mi san doimhne:

26 Ann an turusaibh gu minic, ann an gàbha aimhnichean, ann an cunnartaibh fhear-reubainn, ann an

[s] *gearr.* [t] *cothrom.* [u] *riochd.* [a] *chlaoidhceas.* [b] *thar tomhas.*

cunnartaibh o *m'* chinneach *féin*, ann
an cunnartaibh o na Cinneachaibh,
ann an cunnartaibh sa bhaile, ann an
cunnartaibh san fhàsach, ann an
cunnartaibh san fhairge, ann an
cunnartaibh am measg bhràithre
breugach [c];
27 Ann an saothair agus sgìos[d],
am fairibh gu minic, ann an ocras
agus tart, an trosgaibh gu minic, am
fuachd agus an lom-nochdaidh.
28 A bhàrr air na nithibh a ta an
leth muigh, an ni a ta teachd orm gu
lathail, ro-chùram nan eaglais uile.
29 Cò 'a ta lag, agus nach 'eil mise
lag? cò a ta faotainn oilbheim, agus
nach 'eil mise a' losgadh?
30 Ma's éigin domh uaill a dhean-
amh, is ann as na nithibh a bhuineas
do m' anmhuinneachd a ni mi uaill.
31 Tha fios aig Dia, eadhon Ath-
air ar Tighearna Iosa Criosd, a tha
beannuichte gu siorruidh, nach 'eil
mi deanamh bréige.
32 Ann an Damascus chuir uachd-
aran *a' phobuill* fuidh Aretas an righ,
freiceadan air baile nan Damascen-
each, ann an rùn mise a ghlacadh:
33 Ach tre uinneig leigeadh sìos
ris a' bhalla mi ann an cliabh, agus
chaidh mi as a làmhaibh.

CAIB. XII.

1 *Chum abstolachd a mholadh, ge d'fheudadh e uaill a dheanamh as a thaisbeanaibh iongantach, 9 gidheadh is fearr leis uaill a dheanamh as anmhuinneachd; tha e faotainn croin doibh a chionn gu'n d'éignich iad e chum na h-uaille dìomhain so: 14 a' gealltuinn teachd a rìs d'an ionnsuidh: &c.*

GU deimhin cha 'n'eil e iom-
chuidh dhomhsa uaill a dhean-
amh: ach thig mi chum seallanna
agus taisbeana an Tighearna.
2 B'aithne dhomh duine ann an
Criosd ceithir-bliadhna-deug roimhe
so (ma's anns a' choluinn, ni'm fios
domh; no as a choluinn, ni 'm fios
domh; aig Dia a ta fios) a leithid sin do
dhuine thogadh chum an treas nèamh.
3 Agus b'aithne domh a leithid sin
do dhuine (ma's anns a' choluinn, no
as a' choluinn, ni'm fios domh: aig
Dia a ta fios:)
4 Gu'n do thogadh suas e gu pàrr-
as, agus gu'n cual e briathra do-labh-
airt nach feud duine a' labhairt [e].
5 Ma' leithid sin *do dhuine* ni mi
uaill: ach asam féin cha dean mi
uaill, mur *dean mi* a m' anmhuinn-
eachdaibh [f].
6 Oir ge do b'àill leam uaill a
dheanamh, cha bhi mi a'm' amadan;
oir labhraidh mi an fhìrinn: gidh-
eadh a ta mi a' cumail orm féin, air
eagal gu'm bi meas aig duine dhiom
thar mar a ta e 'gam fhaicinn, no a'
cluinntinn umam.
7 Agus air eagal gu'm bithinn
air m'àrdachadh thar tomhas, tre
ro-mheud nan taisbean, thugadh
dhomh sgolb san fheoil, teachdaire
Shatain chum gu'm buaileadh e mi [g],
air eagal gu'm bithinn air m'àrdach-
adh thar tomhas.
8 Air a shon so ghuidh mi an
Tighearn tri uairean, gu'n imicheadh
so uam.
9 Agus thubhairt e rium, Is leoir
mo ghràs-sa dhuit: oir a ta mo
chumhachd air a dheanamh foirfe
ann an anmhuinneachd. Uime sin
is ro thoiliche a ni mi uaill a' m'
anmhuinneachdaibh, chum gu'n
gabh cumhachd Chriosd còmhnuidh
orm.
10 Uime sin tha mi gabhail tlachd
ann an anmhuinneachdaibh, am mas-
laibh, ann an uireasbhuidhibh, ann
an geur-leanmhuinnibh, ann an teann-
tachdaibh [h] air son Chriosd: oir an
uair a ta mi lag, an sin a ta mi làidir.
11 Rinneadh a'm' amadan mi le
uaill a dheanamh; dh'éignich sibhse
mi: oir bu chòir dhomh bhi air mo
mholadh leibhse: oir cha robh mi
bheag sam bith fuidh na h-abstolaibh
a's àirde, ge nach 'eil annam ach
neo-ni.
12 Gu deimhin dh'oibricheadh
comharan abstoil ann bhur measgsa
anns gach uile fhoighidin, ann an

[c] *fallsa, mealltach.* [d] *sgìos agus briseadh-cridhe.* [e] *nach urradh duine a labhairt.* [f] *laigsibh.* [g] *chum gabhail le dornaibh orm.* [h] *triobloidibh, airdeisibh.*

comharaibh agus an iongantasaibh, agus an cumhachdaibh[k].

13 Oir ciod an ni anns an robh sibh ni bu lugha na eaglaisean eile, mur e nach do leig mi féin mo throm oirbh? thugaibh maitheanas domh san eucoir so.

14 Feuch, a ta mi ullamh anis an treas uair gu teachd d'ar n-ionnsuidh; agus cha chuir mi mo throm oirbh; oir cha'n e bhur cuid a tha mi 'g iarraidh, ach sibh féin: oir cha 'n'eil e dh'fhiachaidh air a' chloinn ionmhas a chruinneachadh fa chomhair nam pàranta, ach air na pàrantaibh fa chomhair na cloinne.

15 Agus is ro thogarrach a ni mise caitheadh agus a chaithear mi air son bhur n-anamasa, ge mar is ro phailte a ta gràdh agam dhuibh, gur lugha bhur gràdhsa dhomh.

16 Ach biodh e mar sin, nach do chuir mi trom *oirbh*: gidheadh air dhomh bhi innleachdach, ghlac mi le seòltachd sibh.

17 An d'rinn mise trìd aon neach dhiubhsan a chuir mi d'ar n-ionnsuidh buannachd dhibh?

18 Ghuidh mi air Titus *dol d'ar n-ionnsuidh*, agus chuir mi bràthair maille ris: an d'rinn Titus buannachd dhibh? nach do ghluais sinn san aon spiorad? agus anns na h-aon cheumaibh?

19 A rìs, am bheil sibh a' saoilsinn gu bheil sinne gabhail ar leithsgeil ribh? tha sinn a' labhairt am fianuis Dé ann an Criosd: ach *a ta* an t-iomlan, a chàirde, chum bhur fòghluimse[l].

20 Oir is eagal leam air dhomh teachd nach faigh mi sibh mar is miann leam, agus gu faighear mise dhuibhse mar nach bu mhiann leibh: air eagal gu'm bi connsachadh, farmad, fearg, comhstri, cùl-chàineadh, cogarsaich, ardain[m], ceannairce '*nar measg*:

21 An t-eagal air teachd dhomh a rìs, gu'n ìslich mo Dhia mi 'nar measg, agus gu dean mi caoidh air son mòrain do'n droing a pheacaich a cheana, agus nach do ghabh aithreachas do'n neo-ghloine, agus striopachas, agus mhacnus a rinn iad.

CAIB. XIII.

1 *Tha e bagairt gairge agus cumhachd abstolachd an aghaidh pheacach cruaidh-mhuinealach: 5 agus a' comhairleachadh dhoibh an creidimh a dhearbhadh, 7 agus am beatha a leasachadh mun d'thig e: 11 tha e a' comh-dhùnadh na litreach le carail choitchionn agus le h-ùrnuigh.*

IS i so an treas uair a ta mi a' teachd d'ar n-ionnsuidh: am beul dithis no triùir do fhianuisibh bithidh gach focal seasmhach.

2 Dh'innis mi cheana, agus tha mi roimh-làimh ag innseadh dhuibh mar gu'm bithinn a làthair an daradh uair, agus a nis air dhomh bhi as bhur làthair, scrìobham chum na droinge a pheacaich roimhe so, agus chum chàich uile, ma thig mi a rìs, nach caomhain mi:

3 O tha sibh ag iarraidh dearbhaidh air Criosd a' labhairt annamsa, neach d'ar taobhsa nach 'eil anmhunn, ach a ta cumhachdach annaibh.

4 Oir ge do cheusadh e trìd anmhuinneachd, gidheadh a ta e beo tre chumhachd Dhé: oir a ta sinne mar an ceudna anmhunn annsan, gidheadh bithidh sinn beo maille ris tre chumhachd Dhé d'ar taobhsa.

5 Ceasnuichibh sibh féin, am bheil sibh sa' chreidimh; dearbhaibh sibh féin: nach aithne dhuibh sibh féin, gu bheil Iosa Criosd annaibh, mur daoine a chuireadh air cùl[n] sibh?

6 Ach tha dòchas agam gu'm bi fhios agaibh nach daoine a chuireadh air cùl sinne.

7 A nis tha mi guidheadh air *Dia* gun sibhse a dheanamh uilc air *bith*; cha'n ann chum gu'm faicear sinne bhi dearbhta, ach chum gu'n deanadh sibhse an ni sin a ta maith[o], ge do robh sinne mar dhaoine a chuireadh air cùl.

8 Oir cha'n urradh sinn ni air bith a dheanamh an aghaidh na fìrinn, ach air son na fìrinn.

[k] gniomharaibh cumhachdach. [l] bhur togail suas. [m] àrd-inntinn-eachd, atmhoireachd. [n] daoine neo-dhearbhta. [o] ciatfach.

9 Oir tha sinn subhach an uair a tha sinn *féin* anmhunn, agus sibhse làidir: agus tha sinn a' guidheadh so mar an ceudna, sibhse bhi diongmhalta.

10 Is ann uime so a scrìobh mi na nithe so *d'ar n-ionnsuidh* air dhomh bhi as bhur làthair, chum air dhomh bhi làthair nach bithinn garg, a réir a' chumhachd a thug an Tighearna dhomh chum fòghluim[p], agus ni h-ann chum sgrios.

11 Fa dheoidh, a bhràithre, slàn leibh: bithibh diongmhalta[r], bithibh subhach, bithibh a dh'aon inntinn, bithibh sìothchail; agus bithidh Dia a' ghràidh agus na sìothchaint maille ribh.

12 Cuiribh fàilte air a chéile[s] le pòg naomha.

13 Tha na naoimh uile a' cur beannachd d'ar n-ionnsuidh.

14 Gràs an Tighearna Iosa Criosd, agus gràdh Dhé, agus comh-chomunn an Spioraid naoimh, *gu robh* maille ribh uile. Amen.

LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN GALATIANACH.

CAIB. I.

6 Tha iongantas air gu'n do thréig iad esan agus an soisgeul co luath: 8 agus tha e a' mallachadh na droinge sin a shearmonaicheas aon soisgeul eile ach na shearmonaich e féin; 11 dh'fhòghluim e'n soisgeul cha b'ann o dhaoinibh, ach o Dhia, &c.

POL abstol (cha'n ann o dhaoinibh, no tre dhuine, ach tre Iosa Criosd, agus tre Dhia *an* t-Athair, a thog suas e o na marbhaibh.)

2 Agus na bràithrean uile a tha maille rium, chum eaglaisean Ghalatia:

3 Gràs duibh, agus sìth o Dhia an t-Athair, agus *o* ar Tighearn Iosa Criosd,

4 A thug e féin air son ar peacaidhne, chum gu'n saoradh e sinn o'n droch shaoghal a ta làthair, a réir toile Dé agus ar n-Atharne:

5 Dhasan *gu robh* glòir gu saoghal nan saoghal. Amen.

6 Is iongnadh leam gu'n d'thugadh thairis[t] sibh co luath uaithsan a ghairm sibh trìd[u] gràis Chriosd, gu soisgeul eile:

7 Ni nach *soisgeul* eile; ach a ta dream àraidh 'gar buaireadh, le'n àill soisgeul Chriosd a thilgeadh bun os cionn[a].

8 Ach nan deanamaidne, no aingeal o nèamh, soisgeul eile a shearmonachadh dhuibh, ach *an soisgeul a* shearmonaich sinne dhuibh, biodh e mallaichte.

9 Amhuil mar a thubhairt sinn roimhe, deiream' a nis a rìs mar an ceudna, Ma shearmonaicheas neach sam bith soisgeul eile dhuibh, ach *an soisgeul* a ghabh sibh, biodh e mallaichte.

10 Oir am bheil mi nis a' cur impidh air[b] daoinibh, no air Dia? no am bheil mi 'g iarraidh daoine a thoileachadh? oir nam bithinn fathast a' toileachadh dhaoine, cha bhithinn a'm' sheirbhiseach aig Criosd.

11 Ach a ta mi toirt fios duibh, a bhràithre, an soisgeul a shearmonaicheadh leamsa, nach ann a réir duine a ta e.

[p] *togail suas.* [r] *foirfe, iomlan.* [s] *Altaichibh beatha a chéile.* [t] *gu'n d'atharraichcadh.* [u] *chum.* [a] *fhiaradh, chlaon-thruailleadh.* [b] *a' cur m'earbsa a.*

12 Oir cha b'ann o dhuine a fhuair mi e, ni mò a theagaisgeadh dhomh e, ach trìd fhoillseachaidh Iosa Criosd.

13 Oir chuala sibh mo chaitheadh-beatha-sa[c] san aimsir a chaidh seachad, ann an creidimh nan Iudhach, gu'n d'rinn mi thar tomhas geur-leanmhuinn air eaglais Dé, agus gu'n d'fhàsaich mi i:

14 Agus gu'n d'thainig mi air m'aghaidh ann an creidimh nan Iudhach thar mòran do m' chomh-aoisibh am measg mo chinnich féin, air dhomh bhi ni bu ro eudmhoire mu ghnàthannaibh mo shinnsreachd.

15 Ach an uair a b'i deadh thoil Dé, a sgar o bhroinn mo mhàthar mi, agus a ghairm *mi* trìd a ghràis,

16 A Mhac féin fhoillseachadh annam[d], chum gu searmonaichinn e am measg nan Cinneach; air ball cha do chuir mi comhairle ri feòil agus fuil:

17 Ni mo chaidh mi suas gu Hierusalem, chum na muinntir sin a bha 'nan abstolaibh romham; ach chaidh mi gu h-Arabia, agus a rìs thainig mi air m'ais gu Damascus.

18 An déigh sin an ceann thri bliadhna chaidh mi suas gu Hierusalem, a dh'fhaicinn Pheadair, agus dh'fhan mi maille ris cùig làithean deug.

19 Ach neach air bith eile do na h-abstolaibh cha'n fhaca mi, ach Seumas bràthair an Tighearna.

20 A nis *anns* na nithibh a scrìobham dhuibh, feuch, an làthair Dhé, cha 'n'eil mi deanamh bréige.

21 'Na dhéigh sin thainig mi gu crìochaibh Shiria agus Chilicia;

22 Agus cha robh eòlas orm a thaobh m' fhaicinn aig eaglaisibh Iudea, a bha ann an Criosd:

23 Ach a mhàin chual iad, An ti anns an àm a chaidh seachad a bha 'gar geur-leanmhuinn, gu bheil e nis a' searmonachadh a' chreidimh a bha e a' sgrios roimhe *so*[e].

24 Agus thug iad glòir do Dhia air mo shonsa.

CAIB. II.

1 *Tha e cur an céill c'uin a chaidh e suas gu Hierusalem, agus c'ar son, agus nach do thimchioll-ghearradh Titus,* 11 *agus gu'n do chuir e'n aghaidh Pheadair, agus gu'n d'innis e dha a reuson,* 14 *c'ar son a ta e féin, agus muinntir eile, a tha 'nan Iudhaich, a' creidsinn gu'm bi iad air am fìreanachadh tre chreidimh ann an Criosd, agus cha'n ann trìd oibre; &c.*

AN sin an ceann cheithir bliadhna deug chaidh mi a rìs suas gu Hierusalem, maille ri Barnabas, a' toirt Thituis leam mar an ceudna.

2 Agus chaidh mi suas a réir foillseachaidh, agus chuir mi an céill dhoibh an soisgeul a ta mi a' searmonachadh am measg nan Cinneach, ach ann an uaigneas dhoibhsan d'an robh meas, an t-eagal air chor sam bith gu'n ruithinn, no gu'n do ruith mi an dìomhanas.

3 Ach cha b'éigin do Thitus féin a bha a'm' chuideachd, bhi air a thimchioll-ghearradh, ge bu Ghreugach e:

4 Agus sin air son bhràithre bréige, a ghoid a steach[f] 'nar measg, a thainig a steach os ìosal a dh'fhaicinn ar saorsa, a ta againn ann an Iosa Criosd, chum ar toirt fa dhaorsa.

5 Do nach do ghéill sinn eadhon rè uaire; chum gu'm buanaicheadh[g] fìrinn an t-soisgeil maille ribhse.

6 Ach o'n droing sin, a mheasadh gu'm bu ni éigin iad, (ciod air bith a bha iad roimhe, cha 'n'eil suim ann domhsa: cha 'n'eil meas aig Dia do phearsa duine) oir iadsan a mheasadh *gu'm bu ni eigin iad,* cha do phàirtich iad le'n còmhradh bheag sam bith riumsa.

7 Ach air an làimh eile, 'nuair a chunnaic iad gu'n d'earbadh soisgeul an neo-thimchioll-ghearraidh riumsa, mar *a dh'earbadh soisgeul an* timchioll-ghearraidh ri Peadar;

8 (Oir an ti a dh'oibribh gu h-éifeachdach[h] ann am Peadar chum abstolachd an timchioll-ghearraidh,

[c] *mo ghiùlan.* [d] *leam.* [e] *uair-eigin.* [f] *a thugadh steach os ìosal.* [g] *fanadh.* [h] *gu brìoghmhor.*

dh'oibrich e gu cumhachdach annamsa mar an ceudna chum nan Cinneach.)

9 Agus an uair a thuig Seumas, agus Cephas, agus Eoin, a tha air am meas 'nam postaibh, an gràs a thugadh dhomh, thug iad dhomhsa agus do Bharnabas deas làmh a' chomuinn; ionnas *gu rachamaid* chum nan Cinneach, agus iad féin chum an timchioll-ghearraidh.

10 A mhàin *b'aill leo* gu'm bitheamaid cuimhneach air na bochdaibh; ni mar an ceudna a bha ro-thoil[i] agam féin a dheanamh.

11 Ach an uair a thainig Peadar gu h-Antioch, sheas mi 'na aghaidh as an eudan, a chionn gu'n robh e r'a choireachadh.

12 Oir roimh do dhream àraidh teachd o Sheumas, dh'ith e biadh maille ris na Cinnich: ach an uair a thainig iadsan, chaidh e a thaobh agus thearbaidh se e féin, air eagal nam muinntir a bha do'n timchioll-ghearradh.

13 Agus rinn na h-Iudhaich eile gnùis-mhealladh[l] maille ris mar an ceudna; ionnas gu'n d'thugadh Barnabas mar an ceudna a thaobh le'n cluain i.

14 Ach an uair a chunnaic mise nach do ghluais iad san t-slighe dhìrich[m], a réir fìrinn an t-soisgeul, thubhairt mi ri Peadar 'nam fianuis uile, Ma tha thusa, a tha a'd' Iudhach, a' caitheadh do bheatha a réir nan Cinneach, agus cha'n ann a réir nan Iudhach, c'ar son a ta thu 'g éigneachadh nan Cinneach am beatha chaitheadh mar na h-Iudhaich?

15 Air dhuinne *a tha 'nar* n-Iudhaich a thaobh nàduir, agus cha'n ann 'nar peacaich do na Cinneachaibh,

16 Fios a bhi againn nach 'eil duine air fhìreanachadh o oibribh an lagha, ach tre chreidimh Iosa Criosd, chreid sinne féin ann an Iosa Criosd; chum gu'm bitheamaid air ar fìreanachadh o chreidimh Chriosd, agus cha'n ann o oibribh an lagha: oir o oibribh an lagha cha bhi feòil sam bith air a fìreanachadh.

17 Ach air dhuinn bhi 'g iarraidh bhi air ar fìreanachadh tre Chriosd, ma gheibhear 'nar peacaich sinn féin, *am bheil* uime sin Criosd 'na mhinistear peacaidh? Nar leigeadh Dia.

18 Oir ma thogas mi a rìs suas na nithe a leag mi, tha mi deanamh ciontach dhiom féin.

19 Oir a ta mise tre'n lagh marbh do'n lagh, chum gu'm bithinn beo do Dhia.

20 Tha mi air mo cheusadh maille ri Criosd: gidheadh a ta mi beo; ach cha mhise, ach Criosd a ta beo annam: agus a' bheatha a ta mi nis a' caitheadh san fheòil, caitheam i tre chreidimh Mhic Dhé, a ghràdhaich mi, agus a thug e féin air mo shon.

21 Cha 'n'eil mi a' cur gràis Dé an neo-brìgh[n]: oir ma tha fìreantachd tre'n lagh, is *ann* gun aobhar a fhuair Criosd bàs.

CAIB. III.

1 *Tha e fe'oraich ciod a dh'aom iad gus an creidimh a thréigsinn, agus dòigh a chur san lagh.* 6 *Tha'n droing a tha creidsinn air am fìreanachadh,* 9 *agus air am beannachadh maille ri Abraham:* 10 *agus a ta e dearbhadh so le iomadh reuson.*

O A Ghalatianacha amaideach, cò a chuir druidheachd oirbh, ionnas nach biodh sibh ùmhal do'n fhìrinn, d'an robh Criosd air a nochdadh gu soilleir[o] fa chomhair bhur sùl, air a cheusadh 'nar measg?

2 So a mhàin b'àill leam fhòghlum uaibh, An ann o oibribh an lagha a fhuair sibh an Spiorad, no o éisdeachd a' chreidimh?

3 Am bheil sibh co amaideach *as sin?* air dhuibh tòiseachadh san Spiorad, am bheil sibh a nis air bhur deanamh foirfe leis an fheòil?

4 An d'fhuiling sibh na h-uiread sin do nithibh gu dìomhain? ma's *ann* da rìreadh gu dìomhain.

5 An ti uime sin a tha frithealadh dhuibh an Spioraid, agus ag oibreachadh mhìorbhuile 'nar measg, an ann trìd oibre an lagha, no trìd éisdeachd a' chreidimh *a ni e so?*

i *ro-thogradh.* l *gnùis-mhealladh,* ceilg. m *gu tréibhdhireach.* n *air cùl.* o *gu dealbhach.*

6 Amhuil mar a chreid Abraham Dia, agus a mheasadh sin dha mar fhìreantachd.

7 Uime sin biodh fhios agaibh, an droing a *tha* do'n chreidimh, gur iad sin clann Abrahaim.

8 Oir air fhaicinn roimhe do'n scriobtuir gu'm fìreanaicheadh Dia na Cinnich tre chreidimh, shearmonaich e an soisgeul roimh-làimh do Abraham, *ag ràdh*, Beannuichear na h-uile Chinnich annadsa.

9 Uime sin tha an droing a tha do'n chreidimh, air am beannachadh maille ri Abraham, fìor chreidmheach.

10 Oir a mheud 's a ta do oibribh an lagha, tha iad fuidh'n mhallachadh: oir a ta e scrìobhta, *Is* malluichte gach neach nach buanaich[p] anns na h-uile nìthibh a ta scrìobhta ann an leabhar an lagha chum an deanamh.

11 Ach *is* ni follaiseach, nach fìreanaichear neach sam bith tre'n lagh am fianuis Dé: oir, Bithidh am fìrean beo tre chreidimh.

12 Agus cha 'n'eil an lagh o chreidimh: ach, An duine a ni iad gheibh e beatha annta[r].

13 Shaor Criosd sinne o mhallachadh an lagha, air dha bhi air a dheanamh 'na mhallachadh air ar son: oir a ta e scrìobhta, *Is* malluichte gach aon a chrochar air crann:

14 Chum gu'n d'thigeadh beannachadh Abrahaim air na Cinnich trìd Iosa Criosd; ionnas gu faigheamaid gealladh an Spioraid tre chreidimh.

15 A bhràithre, labhram mar dhuine; ge nach bi ann ach coimhcheangal[s] duine, ma tha e air a dhaingneachadh, cha chuir neach air bith air cùl *e*, agus cha chuirear ni sam bith ris.

16 A nis is ann do Abraham a thugadh[t] na geallanna agus d'a shìol. Ni'n abair e, Agus do shìoltaibh, mar gu'm biodh *e labhairt* mu mhòran; ach mar mu aon, Agus do d' shìolsa, neach a's e Criosd.

17 Agus a deiream so, nach fheudar gu'n *cuir* an lagh, *a* thugadh an ceann cheithir cheud agus dheich bliadhna fichead 'na dhéigh an coimhcheangal an neo-brigh, a dhaingnicheadh roimhe le Dia ann an Criosd, ionnas gu'n cuireadh e an gealladh air cùl.

18 Oir ma's ann o'n lagh *a ta* an oighreachd, cha *'n'eil i* ni's mò o'n ghealladh: ach thug Dia gu saor *i* do Abraham tre ghealladh.

19 C'ar son uime sin *a thugadh* an lagh? thugadh e air son eusaontais, gus an d'thigeadh an sìol, d'an d'rinneadh an gealladh; air orduchadh le ainglibh an làimh eadarmheadhonair.

20 A nis an t-eadar-mheadhonair, cha'n ann air son aoin *a ta e* 'na *eadar-mheadhonair;* ach is aon Dia.

21 Uime sin *am bheil* an lagh an aghaidh gheallanna Dé? Nar leigeadh Dia: oir nam biodh lagh air a thabhairt a bhiodh comasach air beatha thoirt uaith, gu deimhin is ann o'n lagh a bhiodh fìreantachd.

22 Ach dh'fhàg an scriobtuir na h-uile *dhaoine* dùinte sa' pheacadh, chum gu'm biodh an gealladh tre chreidimh Iosa Criosd air a thoirt dhoibhsan a ta creidsinn.

23 Ach mu'n d'thainig an creidimh, choimhideadh sinn fuidh'n lagh, air ar druideadh a steach chum a' chreidimh, a bha gu bhi air fhoillseachadh.

24 Uime sin b'e an lagh ar n-oidfhòghluim[u] *g'ar treòrachadh* gu Criosd, chum gu bitheamaid air ar fìreanachadh tre chreidimh.

25 Ach air teachd do'n chreidimh, cha 'n'eil sinn ni's mò fuidh oidfhòghluim.

26 Oir is sibhse uile mic Dhé tre chreidimh ann an Iosa Criosd.

27 Oir a mheud agaibh 'sa bhaisteadh do Chriosd, chuir sibh umaibh Criosd.

28 Cha 'n'eil Iudhach no Greugach, cha 'n'eil saor no daor, cha 'n'eil fìrionn no bainionn[z] ann: oir is aon sibh uile ann an Iosa Criosd.

29 Agus ma's le Criosd sibh, is sibh sìol Abrahaim gun amharus,

p [illegible]. *r leo.* *s cunradh, cùmhant.* *t labhradh, rinneadh.* *u ar maighstir-scoile.* *z boirionn.*

agus is oighreacha *sibh* a réir a' gheallaidh.

CAIB. IV.

1 *Bha sinn fuidh'n lagh, gus an*
d'thainig Criosd, mar a ta an
t-oighre fuidh a thuiteir gus an
d'thig e gu h-aois. 5 *Ach shaor*
Criosd sinn o'n lagh: 7 *uime sin*
cha 'n'eil sinn 'nar seirbhisich ni's
faide dha. 14 *Tha e cur an*
cuimhne dhoibh an deadh-ghean
dasan, agus a dheadh-rùn féin
doibhsan; 22 *agus tha e nochdadh*
gur sinne clann Abrahaim thaobh
na mnà saoire.

ANIS a deiream, am feadh a bhios an t-oighre 'na leanabh, nach 'eil eadar-dhealachadh sam bith eadar e agus seirbhiseach, ge d' is e Tighearn nan uile;

2 Ach a ta e fuidh luchd-coimhid[b] agus fuidh luchd-riaghluidh gu teachd na h-aimsire a dh'orduich an t-athair.

3 Agus mar an ceudna sinne, 'nuair a bha sinn 'nar leanabaibh, bha sinn ann an daorsa fuidh cheud fhòghlum an t-saoghail:

4 Ach an uair a thainig coimhlionadh na h-aimsire, chuir Dia a Mhac féin uaith a ghineadh o mhnaoi, a rinneadh fuidh'n lagh,

5 Chum gu'n saoradh e iadsan a bha fuidh'n lagh, ionnas gu faigheamaidne uchd-mhacachd na cloinne.

6 Agus do bhrigh gur mic sibh, chuir Dia Spiorad a Mhic féin ann bhur cridhibh, ag éigheach, Abba, Athair.

7 Uime sin cha seirbhiseach thu ni's mò, ach mac; agus ma's mac, is oighre mar an ceudna air Dia tre Chriosd.

8 Gidheadh, an uair nach b'aithne dhuibh Dia, rinn sibh seirbhis dhoibhsan nach 'eil 'nan dée thaobh nàduir.

9 Ach a nis air dhuibh Dia aithneachadh, no' mar is fearr a dh'fheudar a ràdh, bhi air bhur n-aithneachadh le Dia, cionnus a ta sibh ag ath-philleadh chum nan ceud-thoiseach anmhunn uireashuidheach[c], d'am miann leibh bhi a rìs fuidh dhaorsa?

10 Tha sibh a' coimhead làithean, agus mhìosan, agus amisirean, agus bhliadhnan.

11 Tha eagal orm d'ar taobh, gu'n do chaith mi gu dìomhain mo shaothair oirbh.

12 Guidheam oirbh, a bhràithre, bithibh mar a ta mise, oir *a ta* mise mar sibhse; cha d'rinn sibh eucoir sam bith orm.

13 Tha fhios agaibh gu'm *b'ann* trìd anmhuinneachd na feòla, a shearmonaich mi dhuibh an soisgeul air tùs.

14 Agus air mo bhuaireadh a bha ann am fheòil, cha d'rinn sibh tarcuis, agus cha do ghabh sibh gràin diom[d]; ach ghabh sibh rium mar aingeal[e] Dé, mar Iosa Criosd.

15 Ciod e ma seadh[f] an sonas sin a bha agaibh? oir a ta mi deanamh fianuis duibh, nam bu chomasach e, gu'n spìonadh sibh a mach bhur sùile féin, agus gu'n d'thugadh sibh dhomhsa iad.

16 Uime sin an d'rinneadh nàmhaid duibh dhiom, air son mi dh'innseadh na fìrinn duibh?

17 Tha iadsan eudmhor umaibh, *ach* cha'n ann gu maith; ach b'àill leo sinne dhruideadh a mach, chum gu'm biodh sibhse eudmhor umpa féin.

18 Ach *is* maith a bhi eudmhor ann an *ni* maith a ghnàth, agus cha'n e mhàin an uair a ta mise a làthair maille ribh.

19 Mo chlann bheag, air am bheil mi a rìs ri saothair, gus an dealbhar Criosd annaibh,

20 B'àill leam bhi nis a làthair maille ribh, agus mo ghuth a chaochladh, oir a ta mi fuidh amharus umaibh.

21 Innsibh dhomh, sibhse le'm miann bhi fuidh'n lagh, nach cluinn sibh an lagh?

22 Oir a ta e scrìobhta, gu robh aig Abraham dithis mhac; aon ri ban-oglaich[g], agus am *mac* eile ri mnaoi shaoir.

23 Agus esan *a bh'aige* ris a'

[b] *thuiteiribh.* [c] *anmhunn agus bochd.* [d] *cha do chuir sibh cùl ris.* [e] *theachdaire.* [f] *C'àit am bheil.* [g] *mnaoi dhaoir, ban-tràill.*

bhan-oglaich, ghineadh a réir na feòla e: ach esan *a bh'aige* ris a' mhnaoi shaoir, tre ghealladh.

24 Na nithe so is samhladh iad[h]; oir is iad so an dà choimh-cheangal[i]; aon diubh o bheinn Shinai, a ta a' breith chum daorsa, a's i Agar.

25 Oir is i Agar beinn Shinai ann an Arabia, agus tha i a' coimh-fhreagradh do Ierusalem a tha nis ann, agus tha i fuidh dhaorsa maille r'a cloinn.

26 Ach a ta an Ierusalem a ta shuas saor, agus is màthair dhuinn uile i.

27 Oir a ta e scrìobhta, Dean gairdeachas, a bhean neo-thorach[l] nach 'eil a' breith *cloinne;* bris a mach agus glaodh, thusa nach 'eil ri saothair: oir is lìonmhoire clann na mnà aonaranaiche[m] na na mnà aig am bheil fear.

28 A nis, a bhràithre, is sinne, mar a bha Isaac, clann a' gheallaidh.

29 Ach mar a rinn esan a rugadh réir na feòla, san àm sin geur-leanmhuinn airsan *a rugadh* a réir an Spioraid, is amhuil sin *a ta* nis mar an ceudna.

30 Ach ciod a deir an scriobtuir? Tilg a mach a' bhan-oglach agus a mac: oir cha bhi mac na ban-oglaich 'na oighre maille ri mac na mnà saoire.

31 Uime sin a bhràithre, cha sinne clann na ban-oglaich, ach na mnà saoire.

CAIB. V.

1 Tha e 'gam brosnachadh gu seasamh 'nan saorsa, 3 agus gun an timchioll-ghearradh a ghnàthachadh: 13 ach roghuinn a dheanamh do ghràdh, ni a's e coimhlionadh an lagha: 19 tha e a' cur sìos oibre na feòla, 22 agus ag ainmeachadh toraidh an Spioraid; 25 agus 'g an earalachadh[n] chum gluasachd san Spiorad.

UIME sin seasaibh gu daingean anns an t-saorsa leis an d'rinn Criosd saor sinn, agus na bithibh a rìs air bhur cuibhreachadh le cuing na daorsa.

2 Feuch, a deireamsa Pòl ribh, ma thimchioll-ghearrar sibh, nach bi tairbhe air bith dhuibh ann an Criosd.

3 Oir a ta mi a rìs a' deanamh fianuis do gach uile dhuine a thimchioll-ghearrar, gu bheil a dh'fhiachaibh air an lagh gu h-iomlan a choimhlionadh.

4 Cha 'n'eil tairbhe sam bith ann an Criosd dhuibhse[o] a ta air bhur fìreanachadh tre'n lagh; thuit sibh o ghràs.

5 Oir a ta sinne tre'n Spiorad a' feitheamh ri dòchas fìreantachd o chreidimh.

6 Oir ann an Iosa Criosd, cha 'n'eil éifeachd[p] sam bith ann an timchioll-ghearradh, no ann an neo-thimchioll-ghearradh, ach ann an creidimh a dh'oibricheas tre ghràdh.

7 Is maith a ruith sibh; cò a bhac sibh, o bhi ùmhal do'n fhìrinn?

8 Cha *d'thainig* an impidh so o'n ti a ghairm sibh.

9 Goirtichidh[r] beagan do thaois ghpirt am meall uile.

10 Tha muinghin agam asaibh san Tighearn, nach bi sibh dh'aon dòigh air atharrachadh inntinn: ach an ti a ta cur dragha oirbh, giùlainidh e a bhreitheanas, cò air bith e.

11 Agus mise, a bhràithre, ma shearmonaicheas mi fathast an timchioll-ghearradh, c'ar son a nithear fathast geur-leanmhuinn orm? an sin bhiodh oilbheum a' chroinn-cheusaidh air a chur air cùl?

12 B'fhearr leam gu'm biodh iadsan a ta cur mi-shuaimhneas[s] oirbh eadhon air an gearradh uaibh[t].

13 Oir, a bhràithre, ghairmeadh chum saorsa sibh; a mhàin na *deanaibh* an t-saorsa 'na cion-fàth do'n fheòil, ach le gràdh deanaibh seirbhis d'a chéile.

14 Oir tha an lagh uile air a choimhlionadh ann an aon fhocal,

[h] *asda so tha ni eile r'a thuigsinn.* [i] *chumhnant.* [l] *sheasg, gun sliochd.* [m] *tréigte* [n] a' cur impidh orra. [o] *rinneadh Criosd gun tairbhe dhuibh.* [p] *brigh, neart.* [r] *Geuraichidh.* [s] *dragha.* [t] *air an gearradh as* bhur comunn.

eadhon an so; Gràdhaichidh tu do
choimhearsnach mar thu féin.
15 Ach ma bhios sibh a' teumadh
agus ag itheadh a chéile, thugaibh
aire nach claoidhear leis a chéile sibh.
16 A deiream ma seadh, Gluaisibh[u]
san Spiorad, agus cha choimhlion
sibh ana-mhiann na feòla.
17 Oir a ta an fheòil a' miannach-
adh an aghaidh an Spioraid, agus an
Spiorad an aghaidh na feòla: agus a
ta iad sin an aghaidh a chéile; ionnas
nach faigh sibh na nithe bu mhiann
leibh a dheanamh.
18 Ach ma threòraichear leis an
Spiorad sibh, cha 'n'eil sibh fuidh'n
lagh.
19 A nis tha oibre na feòla foll-
aiseach, a's iad *so*, adhaltrannas,
striopachas, neo-ghloine, macnus[a],
20 Iodhol-aoradh, druidheachd[b],
naimhdeas, connsachadh, co-fhar-
puis[c], fearg, comh-stri, aimhreite,
saobh-chreidimh[d],
21 Farmad, mortadh, misg, ruidh-
teireachd[e], agus an leithide sin: mu
bheileam ag innseadh dhuibh roimh-
làimh, mar a dh'innis mi dhuibh a
cheana mar an ceudna, nach sealbh-
aich iadsan a ni an leithide sin riogh-
achd Dhé mar oighreachd.
22 Ach is e toradh an Spioraid
gràdh, aoibhneas, sìth, fad-fhulangas,
caomhalachd, maitheas, creidimh[f],
23 Macantas[g], stuaim: an aghaidh
an samhuil sin cha 'n'eil lagh.
24 Agus iadsan a's le Criosd, cheus
iad an fheòil, maille r'a h-an-tograibh
agus a h-ana-mhiannaibh.
25 Ma's beo dhuinn san Spiorad,
gluaiseamaid san Spiorad mar an
ceudna.
26 Na bitheamaid déidheil air glòir
dhìomhain[h], a' brosnachadh a' chéile,
a' gabhail farmaid r'a chéile.

CAIB. VI.

1 Tha e 'g iarraidh orra buntainn gu
sèimh ri bràthair a thuislich, 2 agus
uallach a cheile a ghiùlan, 6 bhi
tabhartach d'an luchd-teagaisg, 9
agus gun sgìtheachadh do mhaith a
dheanamh: 12 tha e nochdadh ciod
gus am bheil iadsan a ta searmon-
achadh an timchioll-ghearraidh:
14 cha dean e féin uaill a ni sam bith
ach a crann-ceusaidh Chriosd.

A BHRAITHRE, ma ghlacar
neach ann an coire air bith gu
h-obann, sibhse a ta spioradail, tog-
aibh suas a shamhuil sin do dhuine,
ann an spiorad na macantachd[i]; a'
toirt aire dhuit féin, nach buairear
thu mar an ceudna.
2 Giùlainibh uallacha[l] a chéile,
agus mar sin coimhlionaibh lagh
Chriosd.
3 Oir ma shaoileas duine gur ni
éigin e féin, gun bhi ann ach neo-ni,
tha e 'ga mhealladh féin.
4 Ach dearbhadh gach neach obair
féin, agus an sin bithidh aobhar
gairdeachais[m] aige d'a thaobh féin[n]
a mhàin, agus ni h-ann a thaobh
neach eile.
5 Oir giùlainidh gach neach uallach
féin.
6 Comh-roinneadh an neach a ta
air a theagasg san fhocal, ris an neach
a ta 'ga theagasg, anns na h-uile
nithibh maithe.
7 Na meallar sibh; cha deanar
fanoid air Dia: oir ge b'e ni a shiol-
chuireas duine, an ni ceudna buain-
idh e.
8 Oir an ti a chuireas d'a fheòil
féin, buainidh e o'n fheòil truaillidh-
eachd: ach an ti a chuireas do'n
Spiorad, buainidh e o'n Spiorad a'
bheatha shuthainn.
9 Agus na sgìthicheamaid do
mhaith a dheanamh: oir ann an àm
iomchuidh buainidh sinn, mur
fannaich[o] sinn.
10 Uime sin a réir mar a ta fàth[p],
againn, deanamaid maith do na h-uile
dhaoinibh, ach gu h-àraid dhoibhsan
a ta do theaghlach a' chreidimh.
11 Tha sibh a' faicinn meud na
litreach a scrìobh mi dhuibh le m
làimh féin.
12 A mheud le'm miann iad féin

[u] *siubhlaibh, imichibh.* [a] *mi-nàire.* [b] *buitseachas.* [c] *comortus.* [d] *éiriceachd.*
[e] *anabharr, geocaireachd, craos.* [f] *fìrinn.* [g] *ciuineas.*
[h] *carraghloir.* [i] *a' chiuineis.* [l] *eallacha.* [m] *uaill.*
[n] *ann féin.* [o] *lagaich.* [p] *cothrom.*

a thaisbeanadh gu sgiamhach san
fheòil, tha iad 'gar n-éigneachadh
chum bhi air bhur timchioll-ghearr-
adh ; a mhàin chum nach deantadh
geur-leanmhuinn orra air son crann-
ceusaidh Chriosd.
13 Oir cha 'n'eil iadsan féin a tha
air an timchioll-ghearradh a' coimh-
ead an lagha : ach is àill leo sibhse
bhi air bhur timchioll-ghearradh,
chum as gu dean iad uaill ann bhur
feòil.
14 Ach nar leigeadh Dia gu dean-
ainnse uaill ach ann an crann-ceus-
aidh ar Tighearna Iosa Criosd, tre'm
bheil an saoghal air a cheusadh
dhomhsa, agus mise do'n t-saoghal.
15 Oir ann an Iosa Criosd cha
'n'eil éifeachd air bith ann, an tim-
chioll-ghearradh, no ann an neo-
thimchioll-ghearradh, ach ann an
cruthachadh [r] nuadh.
16 Agus a mheud 's a shiubhlas
a réir na riaghail so, sìth orra, agus
tròcair, agus air Israel Dé.
17 O so a mach na cuireadh neach
sam bith dragh orm ; oir a ta mi
giùlan chomharan an Tighearna Iosa
ann mo chorp.
18 A bhràithre, *gu robh* gràs ar
Tighearna Iosa Criosd maille r'ar
spiorad. Amen.

LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN EPHESIANACH.

1 *An déigh fàilte, 3 agus breith-buidh-*
eachais air son nan Ephesianach, 4
tha e labhairt mu thaghadh, 6 agus
uchd-mhacachd thaobh gràis, 11 ni
a's e am fìor thobar o'm bheil slàinte
a' chinneadh-daonna a' sruthadh, &c.

POL abstol Iosa Criosd tre thoil
Dé, chum nan naomh a ta ann
an Ephesus, agus nan creidmheach
ann an Iosa Criosd :
2 Gràs dhuibh, agus sìth o Dhia
ar n-Athair, agus *o'n* Tighearn Iosa
Criosd.
3 Beannuichte *gu robh* Dia eadhon
Athair ar Tighearna Iosa Criosd, a
bheannuich sinne leis gach uile
bheannachadh spioradail ann an
ionadaibh nèamhaidh [s] ann an Criosd :
4 A réir mar a thagh e sinne ann-
san, mun do leagadh bunaite an
domhain, chum gu'm bitheamaid
naomha, agus neo-choireach 'na
làthairsan ann an gràdh :
5 A roimh-orduich sinne chum
uchd-mhacachd na cloinne tre Iosa
Criosd dha féin, a réir deadh-ghean a
thoile,
6 Chum cliu glòire a ghràis, tre an
d'rinn e sinne taitneach [t] ann a *Mhac*
gràdhach :
7 Anns am bheil againne saorsa [u]
tre fhuilsan, maitheanas nam peacadh,
réir saibhreis a ghràis ;
8 Anns an robh e ro phailte dhuinne
san uile ghliocas, agus thuigse :
9 A dh'fhoillsich dhuinn rùn-
diomhair a thoile, réir a dheadh-
ghean féin, a rùnaich e ann féin :
10 Chum ann am frithealadh
coimhlionaidh nan aimsir, gu'n cruinn-
icheadh e ann an aon na h-uile
nithe ann an Criosd, araon *na nithe*
a ta air nèamh, agus *na nithe* a ta air
talamh, *eadhon* annsan :
11 Anns an d'fhuair sinne mar an
ceudna oighreachd, air dhuinn bhi
air ar roimh-orduchadh a réir rùin an
ti a ta 'g oibreachadh nan uile nithe
réir comhairle a thoile féin ;
12 Ionnas gu'm bitheamaidne a

[r] *creutair.* [s] nithibh *nèamhaidh.* [t] *trìd an do nochd e dhuinne mòr a dheadh-ghean.* [u] *fuasgladh.*

chuir ar tùs dòchas ann an Criosd,
chum cliu a ghlòire-san.
13 Anns *an do chuir* sibhse mar
an ceudna, *dòchas,* air dhuibh focal na
fìrinn a chluinntinn, *eadhon* soisgeul
bhur slàinte: neach an déigh dhuibh
creidsinn ann, chuireadh seula oirbh
le Spiorad naomha sin a' ghealIaidh,
14 Neach is e geall-daingnich[a] ar
n-oighreachdne, gu *teachd* saorsa na
seilbhe a cheannachadh[b], chum cliu
a ghlòire.
15 Uime sin air cluinntinn domhsa
mar an ceudna bhur creidimhse anns
an Tighearn Iosa, agus bhur gràidh
do na naoimh uile,
16 Ni'n sguiream do bhi toirt
buidheachais air bhur son, a' luadh
oirbh ann am ùrnuighibh;
17 Gu'n d'thugadh Dia ar Tigh-
earna Iosa Criosd, Athair na glòire,
spiorad gliocais agus foillseachaidh[c]
dhuibh, ann an eòlas airsan[d];
18 Sùile bhur n-inntinn bhi air an
soillseachadh, chum fios a bhi agaibh
ciod e dòchas a ghairmesan, agus
ciod e saibhreas glòire oighreachdsan
anns na naomhaibh,
19 Agus ciod e ro-mheud a chumh-
achd d'ar taobhne a ta creidsinn, a
réir oibreachaidh a thréin neirt;
20 A dh'oibrich e ann an Criosd,
'nuair a thog e o na marbhaibh e,
agus a chuir e 'na shuidhe air a dheas-
làimh fein e anns na *h-ionadaibh*
nèamhaidh,
21 Gu ro àrd os ceann gach uile
uachdaranachd, agus cumhachd, agus
neirt, agus tighearnais, agus gach
ainme a dh'ainmichear, cha'n e
mhàin san t-saoghal so, ach san
t-saoghal ri teachd mar an ceudna.
22 Agus chuir e na h-uile nithe
fuidh a chosaibh, agus thug se e gu
bhi 'na cheann os ceann nan uile
nithe do'n eaglais,
23 A ta 'na corp aige, lànachd an
ti a ta lìonadh nan uile *nithe* anns na
h-uile.

C A I B. II.

*§ Leis a choimeas r'a chéile ciod a
bha sinn thaobh nàduir, 5 agus
ciod a tha sinn thaobh gràis, 10
tha e cur an céill gu'n d'rinneadh
sinn air son dheadh oibre; agus air
dhuinn bhi air ar toirt am fagus tre
Chriosd, 11 nach còir dhuinn ar
beatha a chaitheadh mar Chinnich,
12 agus mar choigrich, amhuil anns
an àm a chaidh seachad, 19 ach
mar luchd aon bhaile ris na naoimh,
agus mar theaghlach Dhé.*

AGUS *bheothaich* e sibhse a bha
marbh ann an euceartaibh
agus ann am peacaibh,
2 Anns an do ghluais[e] sibh sna
h-amannaibh a chaidh seachad, a réir
gnàtha[f] an t-saoghail so, a réir uachd-
arain[g] cumhachd an athair, an spior-
aid a tha nis ag oibreachadh ann an
cloinn na h-easumhlachd.
3 Am measg an robh againn uile
mar an ceudna ar caitheadh-beatha
roimhe so, ann an ana-mhiannaibh ar
feòla, a' deanamh toil na feòla, agus
nan smuainte[h]; agus bha sinn a
thaobh nàduir 'nar cloinn na feirge,
eadhon mar chàch.
4 Ach Dia, a ta saibhir ann an
tròcair, air son a mhòr ghràidh leis an
do ghràdhaich e sinn,
5 Eadhon air dhuinn a bhi marbh
ann am peacaibh, chomh-bheothaich
e sinn maille ri Criosd, (le gràs a ta
sibh air bhur slànuchadh[i].)
6 Agus chomh-thog, agus chomh-
shuidhich e sinn ann an *ionadaibh*
nèamhaidh ann an Iosa Criosd:
7 Chum gu'm foillsicheadh e anns
na linnibh ri teachd saibhreas ro
phailt a ghràis, ann an caoimhneas
d'ar taobhne trìd Iosa Criosd.
8 Oir is ann le gràs a ta sibh air
bhur slànuchadh, tre chreidimh;
agus cha'n ann uaibh féin: *is e* tiodh-
lacadh[l] Dhé e:
9 Cha'n ann o oibribh, chum nach
deanadh neach air bith uaill:
10 Oir is sinne obairsan, air ar
cruthachadh ann an Iosa Criosd
chum dheadh oibre, air son an d'ulluich
Dia roimh-làimh *sinn,* chum gu'n
gluaiseamaid annta.

[a] *earlas.* [b] *dh'fhuasgladh.* [c] *taisbeanaidh.* [d] *chum esan aideachadh.*
[e] *Anns an robh sibh ag imeachd.* [f] *gnàthachaidh.* [g] *prionnsaidh.* [h] *na
h-inntin, a' chridhe.* [i] *tearnadh, saoradh, sàbhaladh.* [l] *saor thabhartas.*

11 Uime sin *cuimhnichibh,* air
dhuibh a bhi san aimsir a chaidh
thairis 'nar Cinnich san fheòil, d'an
goirear an neo-thimchioll-ghearradh
leosan d'an goirear an timchioll-
ghearradh làmh-dheanta san fheoil;
12 Gu robh sinn san àm sin as
eugmhais Chriosd, 'nar coimhich do
chomh-fhlaitheachd[m] Israeil, agus
'nar coigrich do choimh-cheanglaibh
a' gheallaidh, as eugmhais dòchais,
agus gun Dhia anns an t-saoghal:
13 Ach a nis ann an Iosa Criosd,
tha sibhse a bha roimhe so fad o làimh,
air bhur toirt am fagus trìd fola Chriosd.
14 Oir is esan ar sìothchaintne, a
rinn aon *dhinn* araon, agus a bhris
sìos balla meadhonach an eadar-dheal-
achaidh;
15 Air dha an naimhdeas a chur
air cùl tre fheòil féin, *eadhon* lagh
nan àitheanta, *a chuireadh sìos* ann
an orduighibh, chum gu'n deanadh e
ann féin do dhithis aon duine nuadh,
a' deanamh sìth.
16 Agus gu'n deanadh e réidh far-
aon iad ri Dia ann an aon chorp trìd
a' chroinn-cheusaidh, air dha an
naimhdeas a mharbhadh le sin:
17 Agus thainig e agus shearmon-
aich e sìothchaint dhuibhse a bha am
fad, agus dhoibhsan a bha am fagus.
18 Oir tridsan tha araon slighe
againn gu dol a steach trìd aon Spior-
aid chum an Athar.
19 A nis uime sin cha 'n'eil sibh
ni's mò 'nar coigrich agus 'nar coimh-
ich, ach 'nar luchd aon bhaile ris na
naomhaibh, agus 'nar muinntir-teagh-
laich Dhé;
20 Agus tha sibh air bhur togail
suas air bunait nan abstol agus nam
fàidh, air bhi do Iosa Criosd féin
'na *chlach*-chinn na h-oisinn;
21 Anns am bheil an aitreabh uile,
ceangailte gu ceart r'a chéile, a' fàs
suas chum bhi 'na teampull naomha
san Tighearn:
22 Anns am bheil sibhse mar an
ceudna air bhur comh-thogail suas
chum bhi 'nar tigh-còmhnuidh do
Dhia trìd an Spioraid.

CAIB. III.

*5 Rinneadh an rùn-dìomhair, 6 gu'm
biodh na Cinnich air an saoradh,
fhoillseachadh do Phòl; 8 agus
thugadh an gràs dhasan, sin a shear-
monachadh: 13 tha e 'g iarraidh
orra gun iad a dh'fhannachadh air
son a thrioblaidsan, 14 agus tha e
guidheadh, 19 iadsan a thuigsinn
mòr ghràidh Chriosd d'an taobh.*

AIR an aobhar so, tha mise Pòl
a'm' phriosunach Iosa Criosd,
air bhur sonsa, a Chinneacha;
2 O chuala[n] sibh mu fhrithealadh
gràis Dé, a thugadh dhomhsa air
bhur sonsa[o]:
3 Gu'n d'rinn e aithnichte dhomh
tre fhoillseachadh[p], an rùn-dìomhair
(mar a scrìobh mi roimhe gu h-aith-
ghearr,
4 Leis am feud sibh air dhuibh a
leughadh, m'eòlas ann an rùn-dìomh-
air Chriosd a thuigsinn.)
5 Ni ann an linnibh eile air nach
d'thugadh fios do chloinn nan daoine,
mar a ta e nis air fhoillseachadh d'a
abstolaibh naomha agus d'a fhàidhibh
trìd an Spioraid;
6 Gu'm biodh na Cinnich 'nan
comh-oighreachaibh, agus 'nan comh-
chorp, agus 'nan luchd-comhpairt d'a
ghealladhsan ann an Criosd, trìd an
t-soisgeil:
7 Air an d'rinneadh mise a'm'
mhinisteir, a réir tiodhlaic gràis Dé
a thugadh dhomh, a réir oibreachaidh
éifeachdaich a chumhachdsan.
8 Dhomhsa, a's lugha na'n ti a's
lugha do na naomhaibh uile, thugadh
an gràs so, saibhreas Chriosd nach
feudar a rannsachadh a shearmonach-
adh am measg nan Cinneach;
9 Agus gu'n deanainn soilleir do
no na h-uile *dhaoinibh*, ciod e comunn
an rùin-dìomhair sin, a bha folaichte
ann an Dia o thoiseach an t-saoghail,
a chruthaich na h-uile nithe trìd Iosa
Criosd;
10 Chum gu'n deantadh aithnichte
nis do na h-uachdaranachdaibh agus
do na cumhachdaibh ann an *ionadaibh*
nèamhaidh, leis an eaglais, gliocas
eagsamhuil[r] Dhé,

[m] *chomh-chomunn.* [n] *Ma chuala.* [o] *d'ar taobhsa.* [p] *thaisbean.*
[r] *iomadh-gnèthach.*

11 A réir an rùin shiorruidh[s] a rùnaich e ann an Iosa Criosd ar Tighearn:

12 Anns am bheil againn dànachd agus slighe gu dol a steach ann am muinghin trìd a chreidimhsan.

13 Uime sin iarram nach lagaich sibh a leth mo thrioblaideansa air bhur son, ni a's e bhur glòirse.

14 Air an aobhar so lùbam mo ghlùine do Athair ar Tighearna Iosa Criosd,

15 Air an ainmichear an teaghlach uile air nèamh agus air talamh,

16 Gu'n deònaicheadh e dhuibh a réir saibhreis a ghlòire, bhi air bhur neartachadh gu treun[t], trìd a Spioraidsan anns an duine an leth stigh;

17 Ionnas gu'n gabh Criosd còmhnuidh ann bhur cridhe tre chreidimh; chum air dhuibh bhi air bhur freumhachadh, agus air bhur stéidheachadh[u] ann an gràdh,

18 Gu'm bi sibh comasach maille ris na naomhaibh uile, air a thuigsinn ciod e leud, agus fad, agus doimhne, agus àirde;

19 Agus air gràdh Chriosd aithneachadh, a chaidh thar gach uile eòlas, chum as gu'm bi sibh air bhur lìonadh le uile lànachd Dhé.

20 A nis dhasan d'an comas na h-uile nithe a dheanamh gu h-anabarrach ro phailt thar gach ni a's urradh sinne iarruidh no smuaineachadh, a réir a' chumhachd a ta 'g oibreachadh gu h-éifeachdach annainn,

21 Dhasan gu robh glòir anns an eaglais trìd Iosa Criosd, air feadh gach uile linn, gu saoghal nan saoghal. Amen.

CAIB. IV.

1 *Tha e 'gan caralachadh chum aon-*
achd ; 7 agus a' cur an céill gu'n
d'thug Dia chum na crìche so tiodh-
lacan eagsamhuil do dhaoinibh. 13
ionnas gu'm biodh eaglais air a tog-
ail, 6 agus gu'm fasadh i suas ann
an Criosd : 18 Tha e 'gan gairm o
neo-ghloine nan Cinneach, &c.

UIME sin tha mise priosunach an Tighearna, a' guidheadh oirbh gu'n gluais[a] sibh gu cubhaidh do'n ghairm leis an do ghairmeadh sibh;

2 Leis gach uile irioslachd inntinn agus mhacantas, le fad-fhulangas, a' giùlan le chéile ann an gràdh;

3 A' deanamh dìchill air aonachd an Spioraid a choimhead ann an ceangal[b] na sìth.

4 *Is* aon chorp agus aon Spiorad *a ta ann*, amhuil mar an ceudna a ghairmeadh sibh ann an aon mhuinghin bhur gairme;

5 Aon Tighearn, aon chreidimh, aon bhaisteadh,

6 Aon Dia agus Athair nan uile, a *tha* os ceann nan uile, agus tre na h-uile, agus annaibhse uile.

7 Ach thugadh gràs do gach aon againn a réir tomhais tiodhlaic Chriosd.

8 Uime sin a deir e, Air dol suas da an àird', thug e bruid am braighdeanas, agus thug e tiodhlacan do dhaoinibh.

9 (A nis gu'n deachaidh e suas, ciod e ach gu'n deachaidh e air tùs sìos gu ionadaibh ìochdrach na talmhainn?

10 An ti a chaidh sìos, is e sin féin e a chaidh suas mar an ceudna gu ro àrd os ceann nan uile nèamh, chum gu'n lìonadh e na h-uile nithe.)

11 Agus thug e droing àraidh gu bhi nan abstolaibh; droing eile, gu bhi 'nam fàidhibh; agus droing eile, gu bhi 'nan soisgeulaichibh; agus droing eile, gu bhi 'nan aodhairibh[c], agus 'nan luchd-teagaisg;

12 Chum na naoimh a dheasachadh[d] chum oibre na ministreileachd, chum togail suas cuirp Chriosd:

13 Gus an d'thig sinn uile ann an aonachd a' chreidimh, agus eòlais Mhic Dhé, chum duine iomlain, chum tomhais àirde lànachd Chriosd:

14 Chum as nach bi sinn a so suas 'nar leanabaibh, air ar tonn-luasgadh, agus air ar giùlan mu'n cuairt leis gach uile ghaoith teagaisg, le cleasachd dhaoine, *agus* seòltachd cealgach, leis am bheil iad gu h-innleachdach ri feall-fholach chum meallaidh:

[s] *A reir roimh-shuidheachaidh nan linn.* [t] *le cumhachd.* [u] *bonn-shuidheachadh*
[a] *imich, siubhail.* [b] *comh-cheann.* [c] *buachaillibh.* [d] *a dheanamh iomlan, a cheangal gu daingalta r'a chéile.*

15 Ach a' labhairt na fìrinn ann an gràdh, gu'm fàs sinn suas anns na h-uile nithibh chuigesan[c], a's e an ceann, *eadhon* Criosd:

16 O'm bheil an corp uile, air a cheangal gu ceart, agus air a dhlùthachadh trid an ni sin a tha gach alt a' toirt uaith, a réir oibreachaidh éifeachdaich 'ann an tomhas gach buill, a' faghail fàs cuirp, chum a thogail *féin* suas ann an gràdh.

17 So uime sin a deiream, agus guidheam am fianuis an Tighearna, gun sibh a dh'imeachd a so suas mar a ta na Cinnich eile ag imeachd, ann an dìomhanas an inntinn féin;

18 Aig am bheil an tuigse air a dorchachadh, air dhoibh bhi 'nan coimhich do bheatha Dhé, thaobh an aineolais a ta annta, tre chruas an cridhe:

19 Muinntir, air dhoibh am mothachadh a chall, a thug iad féin thairis do mhi-nàire[f], chum gach uile neoghloine chur an gnìomh le cìocras.

20 Ach cha d'fhòghluim sibhse Criosd mar so;

21 O chuala[g] sibh e, agus o theagaisgeadh leis sibh, mar a ta an fhìrinn ann an Iosa:

22 Gu'n cuir sibh dhibh thaobh a' cheud chaitheadh-beatha, an seann duine, a tha truaillidh a réir nan anamhiann cealgach:

23 Agus gu'm bi sibh air bhur n-ath-nuadhachadh ann an spiorad bhur n-inntinn:

24 Agus gu'n cuir sibh umaibh an nuadh dhuine, a tha air a chruthachadh a réir Dhé am fìreantachd agus am fìor naomhachd.

25 Uime sin air dhuibh a' bhreug a chur uaibh, labhraibh an fhìrinn gach neach r'a choimhearsnach: oir is buill sinn d'a chéile.

26 Biodh fearg oirbh, agus na peacaichibh: na luidheadh a' ghrian air bhur corruich:

27 Agus na tugaibh àit do'n diabhol

28 An ti a ghoid, na goideadh e ni's mò: ach gu ma fearr leis saothair a dheanamh, ag oibreachadh an ni a ta maith le a làmhaibh, chum's gu'm bi aige ni r'a phàirteachadh ris an neach air am bheil uireasbhuidh.

29 Na d'thigeadh cainnt thruaillidh air bith a mach as bhur beul, ach an ni sin a ta maith chum deadh-fhòghluim, ionnas gu'n toir e gràs do'n luchd-éisdeachd.

30 Agus na cuiribh doilgheas air Spiorad naomha Dhé, leis an do chuireadh seula oirbh gu là na saorsa.

31 Biodh gach uile sheirbhe, agus corruich, agus fearg, agus gàrrthaich[h], agus toibheum[i] air an togail uaibh, maille ris gach uile mhìorun.

32 Agus bithibh caoimhneil teochridheach d'a chéile, a' tabhairt maitheanais d'a chéile, eadhon mar a thug Dia maitheanas dhuibhse ann an Criosd.

CAIB. V.

2 *An déigh earailean coitchionn chum gràidh,* 3 *chum strìopachas a sheachnadh,* 4 *agus na h-uile neo-ghloine,* 7 *gun chomhluadar a chumail ri daoinibh aingidh,* 15 *imeachd gu faicilleach,* 18 *agus bhi air an lìonadh leis an Spiorad,* 22 *tha e labhairt mu dhleasdanasaibh fa leth, cionnas is còir do mhnàibh bhi ùmhal d'am fearaibh-pòsda, &c.*

UIME sin bithibhse 'nar luchdleanmhuinn air Dia, mar chloinn ghràdhaich;

2 Agus gluaisibh ann 'an gràdh, eadhon mar a ghràdhaich Criosd sinne, agus a thug se e féin air ar son, 'na thabhartas agus 'na ìobairt deadhbholaidh do Dhia.

3 Ach na biodh strìopachas, agus gach uile neo-ghloine, no sannt, uiread as air an ainmeachadh 'nar measg, mar is cubhaidh do naomhaibh.

4 No draosdachd[l], no còmhradh amaideach, no bao-shùgradh, nithe nach 'eil iomchuidh: ach gu ma fearr *leibh* breith-buidheachais.

5 Oir a ta fios agaibh air so, nach 'eil aig fear-strìopachais air bith, no aig neach neo-ghlan, no aig duine sanntach, (a tha 'na fhear-iodhol-aor-

[c] *annsan.* [f] *mhacnus.* [g] *Ma chuala.* [h] *àrd ghlaodhaich.* [i] *anacainnt.* [l] *graosdachd, cainnt shalach.*

aidh) oighreachd ann an rioghachd Chriosd agus Dhé.

6 Na mealladh neach air bith sibh le briathraibh dìomhain: oir air son nan nithe sin tha fearg Dhé a' teachd air cloinn na h-easumhlachd.

7 Na bithibhse uime sin 'nar luchd-comhpairt riu.

8 Oir bha sibh uair-eigin 'nar dorchadas, ach a nis tha *sibh* 'nar solus san Tighearn: gluaisibh mar chloinn an t-soluis,

9 (Oir *a ta* toradh an Spioraid[m] anns an uile mhaitheas, agus ionracas, agus fhìrinn.)

10 A' dearbhadh ciod an ni a tha taitneach do'n Tighearn.

11 Agus na biodh comh-chomunn agaibh ri oibribh neo-tharbhach an dorchadais, ach gu ma fearr leibh an cronachadh.

12 Oir is gràineil eadhon r'an innseadh na nithe a ta air an deanamh leo os ìosal.

13 Ach a ta na h-uile nithe a tha air an cronachadh, air an deanamh follaiseach leis an t-solus: oir gach uile ni a ni soilleir, is solus e.

14 Uime sin a deir e, Mosgail, thusa a tha d' chodal, agus éirich o na marbhaibh, agus bheir Criosd solus duit.

15 Feuchaibh uime sin gu'n gluais sibh gu faicilleach, cha'n ann mar amadain, ach mar dhaoine glice,

16 Ag ath-cheannach[n] na h-aimsire, do bhrìgh gu bheil na làithean olc.

17 Air an aobhar sin na bithibhse neo-ghlic, ach a' tuigsinn ciod i toil an Tighearna.

18 Agus na bithibh air mhisg le fìon, anns am bheil anabarr; ach bithibh air bhur lìonadh do'n Spiorad:

19 A' labhairt ribh féin[o] ann an salmaibh, ann an laoidhibh, agus ann an dànaibh spioradail, a' seinn agus a' deanamh ciuil 'nar cridhe do'n Tighearn.

20 A' toirt buidheachais a ghnàth air son nan uile nithe do Dhia eadhon an t-Athair, ann an ainm ar Tighearna Iosa Criosd;

21 Air dhuibh bhi ùmhal d'a chéile ann an eagal Dé.

22 A mhnài, bithibh ùmhal d'ar fearaibh féin, mar do'n Tighearn.

23 Oir is e am fear ceann na mnà, eadhon mar is e Criosd ceann na h-eaglais: agus is esan Slànuighear a' chuirp.

24 Uime sin mar a ta'n eaglais ùmhal do Chriosd, mar sin *biodh* na mnài d'am fearaibh féin 'mar an ceudna anns gach ni:

25 Fheara, gràdhaichibh bhur mnài féin, eadhon mar a ghràdhaich Criosd an eaglais, agus a thug se e féin air a son;

26 Chum gu naomhaicheadh, agus gu'n glanadh e i le ionnlad an uisge trìd an fhocail,

27 Chum gu'n cuireadh e 'na làthair féin i 'na h-eaglais ghlòrmhoir, gun smal, gun phreasadh[p], no ni air bith d'an leithidibh sin; ach chum gu'm biodh i naomha, agus neo-lochdach[r].

28 Is amhluidh sin is còir do na fearaibh am mnài féin a ghràdhachadh, mar an cuirp féin: an ti a ghràdhaicheas a bhean, tha e 'ga ghràdhachadh féin.

29 Oir cha d'thug duine air bith riamh fuath d'a fheòil féin; ach altrumaidh agus eiridnidh[s] e i, eadhon mar a ta an Tighearn a' deanamh do'n eaglais:

30 Oir is buill sinn d'a chorp, d'a fheòil, agus d'a chnàmhaibhsan.

31 Air an aobhar so fàgaidh duine athair agus a mhàthair, agus dlùthleanaidh e r'a mhnaoi, agus bithidh an dithis 'nan aon fheòil.

32 Is dìomhaireachd mhòr so: ach labhram mu Chriosd agus an eaglais.

33 Gidheadh, thugadh gach aon agaibhse fa leth gràdh d'a mhnaoi amhuil mar dha féin; agus *feuchadh* a' bhean gu'n d'thoir i urram d'a fear.

C A I B. VI.

1 *Dleasdanas cloinne d'am pàrantaibh,* 5 *sheirbhiseach d'am maighstiribh.* 10 *Is cogadh ar beatha,* 12 *cha'n ann a mhàin an aghaidh fola agus feòla, ach mar an ceudna*

[m] *an t-soluis.* [n] *a' fuasgladh.* [o] *'nar measg féin, r'a chéile.* [p] *chasadh.* [r] *gun ghò.* [s] *giulaichdidh.*

an aghaidh naimhde spioradail. 13 Airm a' chriosdaidh. 18 agus cionnus is còir an gnàthachadh. 21 Tha Tichicus air a mholadh.

A CHLANN, bithibh ùmhal d'ar pàrantaibh féin san Tighearn: oir a ta so ceart.

2 Thoir onoir[t] do t' athair agus do d' mhàthair, (is i so a' cheud àithne le gealladh.)

3 Chum gu'n éirich gu maith dhuit, agus gu'm bi thu fad-shaoghlach air an talamh.

4 Agus aithriche, na brosnaichibh bhur clann chum feirge: ach togaibh[u] iad ann an oilean agus ann an teagasg an Tighearna.

5 A sheirbhiseacha, bithibh ùmhal d'*ar* maighstiribh a réir na feòla, le h-eagal[a] agus crith, ann an tréibhdhireas bhur cridhe, mar do Chríosd:

6 Cha'n ann le sùil-sheirbhis, mar dhroing a ni toil dhaoine, ach mar sheirbhisich Chriosd, a' deanamh toil Dé o'n chridhe;

7 Le deadh thoil a' deanamh seirbhis, mar do'n Tighearn, agus cha'n ann do dhaoinibh:

8 Air dhuibh fios a bhi agaibh, ge b'e maith air bith a ni aon neach, gu'm faigh e an ni so féin o'n Tighearn, ma'*s* saor no daor *e*.

9 Agus a mhaighstirean, deanaibhse na nithe ceudna dhoibhsan, a' leigeadh dhibh bagraidh: air dhuibh fios a bhi agaibh gu bheil bhur maighstir féin air nèamh mar an ceudna, agus nach 'eil gnùis-bhreth maille ris.

10 Fa dheoidh, mo bhràithre, bithibh làidir san Tighearn, agus ann an neart a chumhachdsan.

11 Cuiribh umaibh uil' armachd Dhé, chum's gu'm bi sibh comasach air seasamh an aghaidh cuilbheirtean an diabhoil.

12 Oir cha 'n'eil sinn a' gleachdadh *a mhàin* ri fuil agus feòil, ach ri uachdaranachdaibh, *ri* cumhachdaibh, ri riaghlairibh dorchadais an t-saoghail so, ri aingidheachd spioradail[b] ann an *ionadaibh* àrda[c].

13 Uime sin glacaibh d'ar n-ionnsuidh uile armachd Dhé, chum's gu'm bi sibh comasach air seasamh an aghaidh *a' bhuairidh* san droch là, agus air dhuibh na h-uile nithe a dheanamh, chum seasamh.

14 Seasaibh uime sin, air bhi d'ar leasraidh air an crioslachadh[d] le fìrinn, agus uchd-éididh na fìreantachd[e] umaibh;

15 Agus ulluchadh soisgeil na sìth mar bhrogan agaibh air bhur cosaibh;

16 Thar gach uile ni, a' glacadh chugaibh sgéith a' chreidimh, leis am bi sibh comasach air uile shaighde[f] teinteach an droch *Spioraid* a mhùchadh.

17 Agus glacaibh clogaid na slàinte, agus claidheamh an Spioraid, ni a's e briathar Dhé:

18 A' deanamh ùrnuigh a ghnàth leis gach uile ghnè ùrnuigh agus asluchaidh san Spiorad, agus a' deanamh faire chum an ni so féin maille ris gach uile bhuanachadh, agus ghuidheadh air son nan naomh uile;

19 Agus air mo shonsa, chum gu tiubhrar dhomh comas labhairt, le fosgladh mo bheoil ann an dànachd, chum gu foillsich mi rùn-dìomhair an t-soisgeil:

20 Air son am bheil mi a'm' theachdaire ann an geimhlibh: chum gu labhair mi gu dàna uime, mar is còir dhomh labhairt.

21 Ach a chum gu'm bi fhios agaibhse mar an ceudna air na nithibh a bhuineas domhsa, *agus* ciod a tha mi a' deanamh, foillsichidh Tichicus, bràthair gràdhach agus ministeir fìrinneach san Tighearn, na h-uile nithe dhuibh.

22 Neach a chuir mi d'ar n-ionnsuidh air son an aobhair so *féin*, chum gu'm biodh fios nan nithe a bhuineas duinne agaibh, agus gu'n d'thugadh e comh-fhurtachd d'ar cridhe.

23 Sìth *gu robh* do na bràithr*ibh*, agus gràdh maille ri creidimh o Dhia an t-Athair, agus an Tighearn Iosa Criosd.

24 *Gu robh* gràs maille riusan uile a ta gràdhachadh ar Tighearna Iosa Criosd ann an tréibhdhireas. Amen.

[t] *urram.* [u] *altrumaibh.* [a] *faitcheas.* [b] *droch spioradaibh.*
[c] *nèamhaidh.* [d] *criosrachadh.* [e] *an ionracais.* [f] *ghathan.*

LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAM PHILIPIANACH.

CAIB. I.

6 Tha e cur an céill a bhuidheachais do Dhia, agus a ghràidh dhoibhsan, air son toraidh an creidimh, agus an comhpairt 'na fhulangas, 9 a' deanamh ùrnuigh a ghnàth ri Dia gu'm fàsadh iad ann an gràs: 12 Tha e nochdadh na tairbhe a fhuair creidimh Chriosd o fhulangas-san anns an Ròimh, 21 agus co toilcach 's a ta e air Criosd a ghlòrachadh, le a bheatha no le bhàs: &c.

POL agus Timoteus seirbhisich Iosa Criosd, chum nan naomh uile ann an Iosa Criosd, a tha ann am Philipi, maille ris na h-easbuigibh[g] agus na deaconaibh[h]:

2 Gràs duibh agus sìothchaint o Dhia ar n-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Criosd.

3 Tha mi toirt buidheachais do m' Dhia gach uair a chuimhnicheas mi oirbh,

4 (A ghnàth ann am uile ùrnuighibh air bhur sonsa uile, le gairdeachas a'deanamh guidheadh,)

5 Air son bhur comh-roinn do'n t-soisgeul, o'n cheud là gus a nis;

6 Air dhomh bhi dearbhta as an ni so féin, eadhon an ti a thòisich deadh obair annaibh, gu'n coimhlion e i gu là Iosa Criosd:

7 Eadhon mar is còir dhomh so a smuainteachadh umaibh uile, do bhrigh gu bheil sibh agam ann mo chridhe, agus gu bheil sibh uile 'nar luchd comh-roinn do m' ghràs-sa, faraon ann mo gheimhlibh, agus ann an seasamh air son agus ann an daingneachadh an t-soisgeil.

8 Oir is e Dia m'fhianuis, cia mòr mo dhéidh oirbh uile, ann an innibh Iosa Criosd.

9 Agus ma ta mi a' guidheadh so, gu'm biodh bhur gràdhsa air a mheudachadh ni's mò agus ni's mò ann an eòlas, agus ann an uile thuigse:

10 Chum's gu'n dearbh sibh na nithe a's fearr[i]; chum's gu'm bi sibh tréibhdhireach, agus gun tuisleadh[l] gu là Chriosd;

11 Air bhur lìonadh le toraibh na fìreantachd, a *tha* trìd Iosa Criosd chum glòire agus cliu Dhè.

12 Ach is àill leam, a bhràithre, fios a bhi agaibh, na nithe *a tharladh* dhomhsa, gur mò a dh'éirich leo an soisgeul a chur air aghaidh:

13 Ionnas gu bheil mo gheimhleansa ann an Criosd iomraideach anns an lùchairt uile, agus anns gach àit eile;

14 Agus gu bheil mòran do na bràithribh san Tighearn a' gabhail misnich o m' gheimhlibh, leis an tuilleadh mòr dànachd a' labhairt an fhocail[m] gun eagal.

15 Tha cuid gu dearbh a' searmonachadh Chriosd tre fharmad agus stri, agus cuid eile tre dheadh thoil.

16 Tha aon dream a' searmonachadh Chriosd tre chonspoid, cha'n ann gu tréibhdhireach, a' saoilsinn àmhghar a chur ri m' gheimhlibhse:

17 Ach an dream eile o ghràdh, air dhoibh fios a bhi aca gu'n do chuireadh mise gu seasamh air son an t-soisgeil.

18 Ciod ma ta? gidheadh air gach aon chor, co aca is ann an coslas a mhàin, no da rìreadh, a ta Criosd air a shearmonachadh; agus air a shon

[g] *luchd-coimhid.* [h] *luchd-frithealaidh, foirfeachaibh,* [i] *a tha eadar-dhealaichte.* [l] *gun bhi 'nar n-aobhar oilbheim.* [m] *focail [Dé.]*

so tha mise a' deanamh gairdeachais,
seadh, agus ni mi gairdeachas.
19 Oir a ta fhios agam gu'n d'thig
so chum slàinte[n] dhomhsa tre bhur
n-ùrnuighse, agus tre fhrithealadh
Spioraid Iosa Criosd.
20 A réir mo ro-dhùil[o], agus *mo*
dhòchais, nach cuirear nàire orm ann
an ni air bith, ach leis an uile dhàn-
achd labhairt, mar a ghnàth gu'm bi
Criosd a nis mar an ceudna air
àrdachadh a'm' chorpsa, ma's ann tre
bheatha no tre bhàs.
21 Oir dhomhsa bhi beo *is* e sin
Criosd, agus bàs fhaghail[p] *is* buann-
achd dhomh so.
22 Ach ma's beo dhomh san
fheòil, '*s* e so toradh m'oibre: ach
ciod d'an deanainn roghuinn, ni'm
fios domh.
23 Oir tha mi air mo theannachadh
eadar dhà ni. air dhomh bhi togarrach
air siubhal, agus bhi maille ri Criosd;
oir is e so a's ro fhearr:
24 Gidheadh, 's e mi dh'fhantuinn
san fheòil, *a*'s feumaile dhuibhse.
25 Agus air dhomh bhi cinnteach
dheth so, tha fhios agam gu'm fuirich
mi agus gu'n còmhnuich mi maille
ribh uile, chum bhur cursa air bhur
n-aghaidh, agus chum gairdeachais a'
chreidimh[r]:
26 Chum gu'm bi bhur gairdeachas
ni's pailte ann an Iosa Criosd do m'
thaobhsa, air son mi bhi a rìs a làthair
maille ribh.
27 A mhàin caithibh bhur beatha
gu cubhaidh do shoisgeul Chriosd:
chum cò aca a thig mi agus a chi mi
sibh, no a bhios mi as làthair, gu'n
cluinn mi mu'r timchioll, gu bheil
sibh a' seasamh gu daingean ann an
aon spiorad, le aon inntinn, a'
gleacadh le chéile air son creidimh
an t-soisgeil;
28 Gun gheilt[s] ann an ni sam bith
oirbh o bhur naimhdibh: *ni a ta*
dhoibhsan 'na chomhara cinnteach air
sgrios, ach dhuibhse air slàinte, agus
sin o Dhia.
29 Oir thiodhlaiceadh[t] dhuibhse
air son Chriosd, cha'n e mhàin creid-
sinn ann, ach mar an ceudna fulang
air a shon;
30 Air dhuibh an còmhrag ceudna
bhi agaibh a chunnaic sibh annamsa,
agus a tha sibh a nis a' cluinntinn a
bhi annam.

CAIB. II.

1 *Tha e 'gan earalachadh chum aon-
achd, agus irioslachd inntinn, le
eisempleir ìsleachaidh agus àrdach-
aidh Chriosd; 12 chum iad a dhol
air an aghaidh gu cùramach ann an
slighe na slàinte, ionnas gu'm biodh
iad 'nan solus do'n t-saoghal aingidh,
16 agus 'nan comhfhurtachd dhasan
an abstolsan, neach a ta ullamh
eadhon chum bhi air ìobradh suas
do Dhia. &c.*

UIME sin ma tha comhfhurtachd
air bith ann an Criosd, ma tha
sòlas air bith gràidh, ma tha comh-
chomunn air bith an Spioraid, ma tha
truas[u] air bith agus tròcaire;
2 Coimhlionaibh mo ghairdeachas,
gu'm bi sibh a dh'aon inntinn, a
dh'aon ghràdh, a dh'aon toil, a dh'aon
bhreithneachadh[a].
3 *Na deanar* aon ni tre chonspoid,
no tre ghlòir dhìomhain, ach ann an
irioslachd inntinn measadh gach aon
gur fearr neach eile na e féin.
4 Na seallaibh gach aon air na
nithibh sin a bhuineas da féin, ach
gach aon air na nithibh a bhuineas do
dhaoinibh eile mar an ceudna.
5 Uime sin biodh an inntinn
cheudna annaibhse, a bha ann an
Iosa Criosd:
6 Neach air bhi dha ann an cruth
Dhé, nach do mheas e 'na reubainn
e féin bhi cosmhuil[b] ri Dia:
7 Ach chuir se e féin ann an
dìmeas[c], a' gabhail air féin dreach
seirbhisich, air a dheanamh ann an
coslas dhaoine:
8 Agus air dha bhi air fhaghail
ann an cruth mar dhuine, dh'irioslaich
se e féin, agus bha e ùmhal gu bàs,
eadhon bàs a' chroinn-cheusaidh.

n *saorsa.* o *m'earbsaidh.* p *fhaotainn.* r *chum cur air aghaidh bhur creidimh agus bhur gairdeachais.* s *namhus, eagal, ghiorag.* t *thugadh gu saor.* u *tiom-chridheachd.* a *toirt aire do'n aon ni.* b *coimeas, coimh-ionann.* c *dh'fholamhuich se e féin.*

9 Air an aobhar sin dh'àrdaich Dia e gu ro àrd mar an ceudna, agus thug e dha ainm os ceann gach uile ainme;

10 Chum do ainm[d] Iosa gu'n lùbadh gach glùn, do *nithibh a ta* air nèamh, agus do *nithibh a ta* air talamh, agus do *nithibh a ta* fo'n talamh;

11 Agus gu'n aidicheadh gach teanga gur e Iosa Criosd an Tighearn, chum glòire Dhé an Athar.

12 Uime sin, a mhuinntir mo ghràidh, mar a bha sibh ùmhal a ghnàth, ni a mhàin a'm' làthairse, ach a nis ni's ro mhò as mo làthair, lànoibrichibh bhur slàinte féin le h-eagal agus ball-chrith.

13 Oir is e Dia a dh'oibricheas annaibh, faraon an toil agus an gnìomh[e] a réir a dheadh-ghean féin.

14 Deanaibh na h-uile nithe gun ghearan[f], agus gun deasboireachd:

15 Chum as gu'm bi sibh neochoireach, agus neo-chronail[g], 'nar cloinn do Dhia, neo-lochdach, am meadhon ginealaich fhiar agus chrosda[h], measg am bheil sibhse a' dealrachadh mar lòchrain sholuis san t-saoghal:

16 A' cumail a machi focail na beatha; chum gu'n deanamsa uaill ann an là Chriosd, do bhrigh nach do ruith mi gu dìomhain, agus nach do shaothraich mi gu dìomhain.

17 Seadh agus ma ìobrar mi air ìobairt agus seirbhis fhollaiseach bhur creidimhse, tha aoibhneas orm, agus deanam gairdeachas maraon ribhse uile.

18 Air an dòigh cheudna biodh aoibhneas oirbhse, agus deanaibh gairdeachas maraon riumsa.

19 Ach a ta dòchas agam anns an Tighearn Iosa, Timoteus a chur gu goirid d'ar n-ionnsuidh, chum as gu'm bi mise mar an ceudna ann an deadh mhisnich, air dhomh fios fhaghail ciod is cor dhuibhse.

20 Oir cha 'n'eil duine air bith agam coimh-ionunn inntinn *ris-san*, air am bi cùram nan nithe a bhuineas dhuibhse gu dùrachdach.

21 Oir tha na h-uile ag iarraidh nan nithe a bhuineas doibh féin, cha'n iad na nithe a bhuineas do Iosa Criosd.

22 Ach is aithne dhuibh a dhearbhadhsan, mar mhac d'a athair, gu'n d'rinn e seirbhis maille riumsa anns an t-soisgeul.

23 Uime sin tha dùil agam esan a chur *d'ar n-ionnsuidh* air ball, co luath as a chi mi ciod is cor dhomh féin.

24 Ach tha earbsadh agam anns an Tighearn, gu'n d'thig mi féin d'ar n-ionnsuidh gu h-aithghearr mar an ceudna.

25 Gidheadh mheas mi gu'm b'fheumail Epaphroditus mo bhràthair, agus mo chomh-oibriche, agus mo chomh-shaighdear, ach bhur teachdoirese, agus an ti a fhritheil do m' uireasbhuidh, a chur d'ar n-ionnsuidh.

26 Oir bha déidh mhòr aige oirbh uile, agus bha e làn tuirse, do bhrigh gu'n cuala sibhse gu'n robh e tinn.

27 Agus gu deimhin bha e tinn fagus do'n bhàs: gidheadh rinn Dia tròcair air; agus cha b'ann airsan a mhàin, ach ormsa mar an ceudna, chum nach biodh doilgheas air muin doilgheis orm.

28 Uime sin bu togarraiche a chuir mi *d'ar n-ionnsuidh* e, chum air dhuibh fhaicinn a rìs, gu'm biodh aoibhneas oirbh, agus gu'm bu lughaide mo dhoilgheas-sa.

29 Air an aobhar sin gabhaibh ris san Tighearn leis an uile aoibhneas, agus biodh meas mòr agaibh air an leithidibh sin:

30 Do bhrigh air son oibre Chriosd gu robh e dlùth do'n bhàs, agus nach robh suim aige d'a bheatha[l] féin, chum gu'n deanadh e suas uireasbhuidh bhur seirbhis-se do m' thaobhsa.

CAIB. III.

1 Tha e toirt rabhaidh dhoibh bhi air am faicill o luchd-teagaisg bréige an timchioll-ghearraidh, 4 a' nochdadh gu bheil aige féin tuilleadh aobhair na acasan, earbsadh a

[d] *ann an ainm.* [e] *an deanamh.* [f] *mhonmhor.* [g] *glan, neo-thruaillidh,* [h] *tharsuing.* [i] *os àird.* [l] *anam.*

fìreantachd an lagha; 7 ni gidh-
eadh a ta e meas mar aolach agus
chall chum Iosa Criosd agus fhìr-
eantachdsan a chosnadh: 12 tha e
'g aideachadh a neo-fhoirfeachd
féin anns an ni so: &c.

OS bàrr, mo bhràithre, deanaibh
gairdeachas san Tighearn. Gu
deimhin cha leasg[m] leamsa na nithe
ceudna a scrìobhadh d'ar n-ionnsuidh,
ach dhuibhse tha so tèaruinnte[n].
2 Bithibh air bhur faicill o mhad-
raibh, bithibh air bhur faicill o dhroch
luchd-oibre, coimhidibh sibh féin o'n
chomh-ghearradh.
3 Oir is sinne an timchioll-ghearr-
adh, a ta deanamh aoraidh do Dhia
san Spiorad, agus a' deanamh gair-
deachais ann an Iosa Criosd, agus
nach 'eil a' cur muinghin san fheòil:
4 Ge do dh'fheudainnse mar an
ceudna muinghin bhi agam san fheoil.
Ma shaoileas aon neach eile gu'm
feud e muinghin a chur san fheòil, is
mò *na sin a dh'fheudas* mise:
5 Air mo thimchioll-ghearradh air
an ochdamh là, do chinneach Israeil,
do thrèibh Bheniamin, a'm' Eabh-
ruidheach do na h-Eabhruidheach-
aibh; a réir an lagha, a'm' Phairis-
each;
6 A thaobh eud, a' deanamh geur-
leanmhuinn air an eaglais; a réir na
fìreantachd a ta san lagh, neo-choir-
each.
7 Ach na nithe a bha 'nam buann-
achd dhomh, mheas mi iad sin 'nan
call air son Chriosd.
8 Seadh gun amharus, agus meas-
am na h-uile nithe 'nan calldach, air
son ro-oirdheirceis[o] eòlais Iosa Criosd
mo Thighearna: air son an d'fhuil-
ing mi call nan uile nithe, agus
measam gur aolach iad chum gur e
mo bhuannachd[p] Criosd,
9 Agus gu faighear annsan mi,
gun m'fhìreantachd féin agam, a ta
o'n lagh, ach *an fhìreantachd* sin a
ta tre chreidimh Chriosd, an fhìrean-
tachd a ta o Dhia tre chreidimh:
10 Chum eòlas a bhi agam airsan,
agus air cumhachd aiseirighsan, agus
air comh-chomunn fhulangais, air
bhi dhomh air mo chur ann an [illegible]
crutha r'a bhàs[r];
11 Dh'fheuchainn am [illegible]
air aon chor teachd chum [illegible]
igh o na marbhaibh.
12 Cha'n e gu [illegible]
cheana, no gu bheil [illegible]
ach tha mi a' *leanmhuinn* [illegible] dh'fa[illegible]
ainn am *faigh* mi g[illegible] do'n ni [illegible]
féin air son an do [illegible] gre[illegible]
dhiom le h-Iosa Criosd.
13 A bhràithre, ni measam gu'n
do ghlac mi greim: ach aon ni *a*
dheanam, air dhomh na nithe a ta air
mo chùl a dhì-chuimhneachadh, agus
bhi 'g am shìneadh féin chum nan
nithe a ta romham,
14 Tha mi a' dian-ruith dh'-ionns-
uidh a' chomharaidh, chum duaise[s]
àrd ghairme Dhé ann an Iosa Criosd.
15 Uime sin mheud dhinne 's a ta
diongalta, biodh an inntinn so againn:
agus ma tha sibh ann an ni sam bith
air atharrachadh inntinn, foillsichidh
Dia an ni so féin duibh.
16 Gidheadh, an ni air an d'ràinig
sinn a cheana, gluaiseamaid a réir
aon riaghail, bitheamaid a dh'aon
inntinn.
17 A bhràithre, bithibhse le chéile
'nar luchd-leanmhuinn ormsa, agus
thugaibh an aire dhoibhsan a tha
gluasad air an dòigh sin, mar a ta
sinne 'nar eisempleir agaibh.
18 (Oir a ta mòran a' gluasad,
mu'n dubhairt mi gu minic ribh, agus
mu'm bheil mi nis, eadhon a' gul, ag
ràdh ribh, *gur* naimhdean *iad* do
chrann-ceusaidh Chriosd:
19 D'an deireadh [illegible]
d'an dia am brù: agus [illegible]
an glòir 'nan nàire, [illegible]
aire air nithibh talmh[illegible].)
20 Oir a ta ar [illegible]
ne[t] air nèamh, as [illegible]
bheil dùil againn [illegible]
t-Slànuighear, an Tighearn Iosa Criosd:
21 A chruth-atharraicheas ar corp
dìblidh, chum gu'n deanar e comh-
chosmhuil r'a chorp glòrmhor féin, a
réir an oibreachaidh leis am bheil e
comasach air na h-uile nithe a chur
fa cheannsal féin.

[m] *chruaidh, doilich.* [n] *sàbhailte.* [o] *ro-phrìseileachd.* [p] *gu cosnaim.*
[r] *air mo dheanamh a réir a bhàis.* [s] *gill.* [t] *giùlan, conbhersaid.*

CAIB. IV.

1 Le chomhairlibh mionaideach, 4
tha e dol air aghaidh chum carail-
ean comhchionna, 10 a' nochdadh
annus a rinn e gairdeachas air
son a chaonartuis dha, agus e 'na
luidhe am priosun; 19 agus tha e
a' crìochnachadh le h-ùrnuigh agus
beannachdaibh.

UIME sin, mo bhràithre gràdhach agus air am bheil mo dhéidh, m'aoibhneas agus mo chrùn, seasaibh mar so gu daingean san Tighearn, a mhuinntir mo ghràidh.

2 Guidheam air Euodias, agus guidheam air Sintiche, iad a bhi dh'aon inntinn san Tighearn.

3 Agus iarram ortsa mar an ceudna, a chompanaich dhìleis, dean còmhnadh ris na mnàibh sin a rinn saothair maille riumsa san t-soisgeul, maille ri Clemens, agus a' chuid eile do m' chomh-oibrichibh, aig am bheil an ainmean ann an leabhar na beatha.

4 Deanaibh gairdeachas san Tighearn a ghnàth: a rìs deiream, Deanaibh gairdeachas.

5 Biodh bhur measarrachd[u] follaiseach do na h-uile dhaoinibh. *Tha* 'n Tighearn am fagus.

6 Na biodh ro-chùram ni sam bith oirbh: ach san uile ni le h-ùrnuigh agus asluchadh maille ri breithbuidheachais, biodh bhur n-iarrtuis air an deanamh aithnichte do Dhia.

7 Agus coimhididh sìth Dhé, a ta thar gach uile thuigse, bhur cridhe agus bhur n-inntinn ann an Iosa Criosd.

8 Fa dheoidh, a bhràithre, ge b'e nithe ta fìor, ge b'e nithe *ta* urramach[a], ge b'e nithe *ta* ceart, ge b'e nithe *ta* fìor-ghlan, ge b'e nithe *ta* ion-ghràidh[b], ge b'e nithe *ta* ion-mholta; ma *tha* deadh-bheus[c] air bith *ann*, ma *tha* moladh air bith *ann*, smuainichibh air na nithibh sin.

9 Na nithe sin araon a dh'fhòghluim, agus a ghabh sibh, agus a chual agus a chunnaic sibh annamsa, deanaibh: agus bithidh Dia na sìothchaint maille ribh.

10 Ach rinn mi gairdeachas gu mòr san Tighearn, do bhrìgh gu'n d'ath-ùraicheadh nis fa dheireadh bhur cùram umamsa; ni mar an ceudna anns an robh sibh cùramach, ach cha robh cothrom agaibh.

11 Ni h-e gu'n labhram a thaobh uireasbhuidh: oir dh'fhòghluim mi, ge b'e staid am bheil mi, bhi toilichte.

12 Is aithne dhomh bhi ìosal, agus is aithne dhomh mar an ceudna pailteas a mhealtuinn: anns gach àit, agus anns na h-uile nithibh theagaisgeadh mi, araon a bhi sàthach agus ocrach, araon pailteas a shealbhachadh agus uireasbhuidh fhulang.

13 Is urradh mi na h-uile nithe a dheanamh tre Chriosd, a neartaicheas mi.

14 Gidheadh, is maith a rinn sibh gu'n do chomh-phàirtich sibh ri m' thrioblaid.

15 Agus a nis biodh fhios agaibhse, a Philipianacha, ann an toiseach an t-soisgeul, 'nuair a dh'fhàg mi Macedonia, nach do roinn eaglais air bith riumsa, thaobh tabhairt agus gabhail, ach sibhse a mhàin.

16 Oir eadhon ann an Tesalonica chuir sibh aon uair agus a rìs a m' ionnsuidh leasachadh do m' uireasbhuidh.

17 Ni h-e gu bheil mi ag iarraidh tabhartais: ach a ta mi 'g iarraidh toraidh a bhios pailte chum bhur cunntais-se.

18 Ach a ta mi sealbhachadh nan uile nithe, agus tha pailteas agam: lìonadh mi, air dhomh na nithe fhaotainn o Epaphroditus *a chuireadh* uaibhse, àileadh deadh-bholuidh, iobairt thaitneach, anns am bheil tlachd aig Dia.

19 Ach leasaichidh mo Dhia-sa bhur n-uireasbhuidh uile, a rèir a shaibhreis ann an glòir, trìd Iosa Criosd.

20 A nis do Dhia agus ar n-Athairne *gu robh* glòir gu saoghal nan saoghal. Amen.

21 Cuiribh fàilte air gach uile naomh ann an Iosa Criosd. Tha na bràithrean a tha maille rium, a' cur fàilte oirbh.

[u] *cothrom, ciuineas.* [a] *ciatfach.* [b] *a* ta *gràdhach, cairdeil.* [c] *subhailc.*

22 Tha na naoimh uile a' cur fàilte oirbh, gu h-àraid iadsan a tha do theaghlach Cheasair.

23 Gràs ar Tighearna Iosa Criosd gu robh maille ribh uile. Amen.

LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN COLOSIANACH.

CAIB. I.

1 *An déigh fàilte chur orra, tha e toirt buidheachais do Dhia air son an creidimh, 7 a' daingneachadh teagaisg Epaphrais, 9 a' guidheadh gu'm biodh an gràs air a mheudachadh, 14 a' cur an céill cò e am fìor Chriosd, 21 a' toirt misnich dhoibh gu gabhail ri Criosd; agus a' moladh a mhinistreileachd féin.*

POL abstol Iosa Criosd tre thoil Dé, agus Timoteus ar bràthair,

2 Chum nan naomh agus nam bràthar dìleas ann an Criosd, a tha ann an Colose: Gràs gu robh dhuibh, agus sìth o Dhia ar n-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Criosd.

3 Tha sinn a' toirt buidheachais do Dhia, agus Athair ar Tighearna Iosa Criosd, a' sìr-dheanamh ùrnuigh air bhur sonsa:

4 O chuala sinn iomradh bhur creidimh ann an Iosa Criosd, agus *bhur* gràidh do na naomhaibh uile;

5 Air son an dòchais a ta air a thasgaidh fa'r comhair air nèamh, air an cuala sibh iomradh roimhe ann am focal fìrinn an t-soisgeil:

6 A thainig d'ar n-ionnsuidhse, mar anns an t-saoghal uile, agus a tha tabhairt toraidh uaith, mar *a ta e deanamh* mar an ceudna 'nar measgsa[d], o'n là anns an cuala sibh *e*, agus san d'fhuair sibh eòlas air gràs Dhé ann am fìrinn.

7 A réir fòs mar a dh'fhòghluim sibh o Epaphras ar coimh-sheirbhiseach gràdhachne, a tha air bhur sonsa 'na mhinisteir dìleas do Chriosd;

8 A chuir an céill dhuinne mar an ceudna bhur gràdhsa anns an Spiorad.

9 Air an aobhar so, cha 'n'eil sinne mar an ceudna a' sgur, o'n là a chuala sinn *e*, do dheanamh ùrnuigh air bhur sonsa, agus a ghuidheadh gu'm biodh sibh air bhur lìonadh le eòlas a thoile, san uile ghliocas agus thuigse spioradail;

10 Chum gu'n gluaiseadh sibh gu cubhaidh do'n Tighearn chum gach uile thoileachaidh[e], a' toirt toraidh uaibh san uile dheadh obair, agus a' fàs ann an eòlas Dé;

11 Air bhur neartachadh leis an uile neart a réir a chumhachd ghlòrmhoirsan, chum an uile fhoighidin agus fhad-fhulangais maille ri gairdeachas;

12 A' tabhairt buidheachais do'n Athair, a rinn sinne iomchuidh chum bhi 'nar luchd comh-pairt do oighreachd nan naomh san t-solus:

13 A shaor sinn o chumhachd an dorchadais, agus a dh'atharraich sinn chum rioghachd Mhic a ghràidh-san:

14 Anns am bheil againn saorsa trìd fhola-san, *eadhon* maitheanas nam peacadh:

15 Neach a's e iomhaigh[f] an Dé neo-fhaicsinnich, ceudghin a' chruthachaidh uile[g]:

16 *Oir* is ann leis-san a chruth-

[d] *annaibse.* [e] *chum a thoileachadh sna h-uile nithibh.* [f] *coslas, riochd.* [g] *nan uile chreutair.*

aicheadh na h-uile nithe a ta air
neamh, agus a ta air talamh, faicsinn-
each agus neo-fhaicsinneach, ma's
righ-chathraichean *iad*, no tighearnais,
no uachdaranachda, no cumhachda;
is ann leis-san agus air a shon a
chruthaicheadh na h-uile nithe:
17 Agus tha esan roimh na h-uile
nithibh, agus trìdsan tha na h-uile
nithe a' comh-sheasamh.
18 Agus is e ceann a' chuirp, *eadhon*
na h-eaglaise: neach a's e an toiseach,
an ceud-ghin o na marbhaibh; chum
gu'm biodh aige àrd-cheannas anns na
h-uile.
19 Oir b'e deadh thoil *an Athar*,
gu'n còmhnuicheadh gach uile iom-
lanachd annsan;
20 Agus gu'm biodh na h-uile air
an deanamh réidh ris féin trìdsan, air
dha sìth a dheanamh trìd fola a
chroinn-cheusaidhsan; trìdsan *deiream*,
ma's nithe *iad* a ta air talamh, no
nithe a ta air nèamh.
21 Agus sibhse a bha uair-eigin
'nar coimheachaibh, agus 'nar naimhd-
ibh ann *bhur* n-inntinn thaobh droch
oibre, nis rinn e réidh ris féin
22 Ann an corp fheòla féin tre'n
bhàs, chum sibhse a chur naomha,
agus neo-lochdach, agus neo-choir-
each, 'na làthairsan:
23 Ma dh'fhanas sibh anns a'
chreidimh bunaiteach[h] agus daingean,
gun bhi air bhur n-atharrachadh o
dhòchas an *t*-soisgeil, a chuala sibh,
agus a shearmonaicheadh do gach uile
chreutair a ta fuidh nèamh; air an
d'rinneadh mise Pòl a'm' mhinist-
eir.
24 Tha mi nis a' deanamh gaird-
eachais ann am fhulangasaibh air
bhur sonsa, agus a' coimhlionadh
m' eud 's a ta dhéidh-làimh do
àmhgharaibh Chriosd ann am fheòil,
air son a chuirpsan, eadhon na
h-eaglaise:
25 D'an d'rinneadh mise a'm'
mhinisteir a réir stiubhardachd Dhé,
a thugadh dhomh air bhur sonsa, a
choimhlionadh focail Dè;
26 *Eadhon* an rùn-dìomhair a bha
folaichte o na linnibh, agus o na
ginealachaibh *a chaidh seachad*, ach
a nis a tha air fhoillseachadh d'a
naomhaibhsan:
27 D'am bu toil le Dia fhoill-
seachadh ciod e saibhreas glòire an
rùin-dìomhair so am measg nan Cinn-
each; neach a's e Criosd annaibhse,
muinghin na glòire;
28 Neach a ta sinne a' searmon-
achadh, a' toirt rabhaidh do gach
duine, agus a' teagasg gach uile
dhuine anns an uile ghliocas; chum gu
nochd sinn gach uile dhuine 'na làth-
airsan iomlan ann an Iosa Criosd:
29 An ni chum a bheileamsa
mar an ceudna a' saoithreachadh, a'
deanamh sbairn a réir oibreachaidh-
san, a tha 'g oibreachadh annam gu
cumhachdach.

CAIB. II.

1 *Tha e 'gan caralachadh a bhi bun-
aiteach ann an Criosd. 8 agus a bhi
air am faicill o bheul-aithrisibh
dìomhain, 18 o aoradh do ainglibh,
20 agus o dheas-ghnàthachaibh an
lagha, nithe a chrìochnaicheadh ann
an Criosd.*

OIR b'àill leam fios a bhi agaibh
ciod e meud mo chòmhraig
air bhur sonsa, agus *air son* na
droinge a ta ann an Laodicea, agus
air son a mheud nach fhaca m'agh-
aidh anns an fheòil:
2 Ionnas gu'm faigheadh an
cridhe sòlas, air dhoibh bhi air an
dlùth-cheangal r'a chéile ann an
gràdh, agus chum uile shaibhris an
làn-dearbh-bheachd tuigse, chum eòl-
ais[i] rùin-dìomhair Dhé, eadhon an
Athar, agus Chriosd;
3 Anns am bheil uile ionmhais a'
ghliocais agus an eòlais folaichte.
4 Agus so deiream, air eagal gu
mealladh neach air bith sibh le briath-
raibh tairngeach[l].
5 Oir ge do tha mi uaibh san
fheòil, gidheadh a ta mi maille
ribh san Spiorad, a' deanamh gaird-
eachais[m] agus a' faicinn bhur n-ord-
uigh, agus seasmhachd[n] bhur creid-
imh ann an Criosd.
6 Uime sin mar a ghabh sibh chug-
aibh an Tighearn Iosa Criosd, gluais-
ibh ann:

h *stéidhichte.* i *aidmheil.* l *seòlta, druìteach.* m *aoibhneis.* n *daingneachd.*

7 Air dhuibh bhi air bhur freumh-
achadh agus air bhur togail suas
annsan, agus air bhur daingneachadh
sa' chreidimh, a rèir mar a theagaisg-
eadh sibh, a' meudachadh ann le
breith-buidheachais.

8 Thugaibh an aire nach dean
neach air bith foirneart oirbh [o] trìd
fheallsanachd [p] agus mealltoireachd
dhìomhain, a réir beul-aithris [r]
dhaoine, a réir ceud-thoiseacha an
t-saoghail, agus cha'n ann a réir
Chriosd:

9 Oir annsan tha uile iomlaine [s]
na diadhachd a' gabhail còmhnuidh
gu corporra.

10 Agus tha sibhse coimhlionta
annsan, neach a's e ceann gach uile
uachdranachd agus chumhachd;

11 Anns am bheil sibh mar an
ceudna air bhur timchioll-ghearradh
leis an timchioll-ghearradh nach d'rin-
neadh le làmhaibh, ann an cur dhìbh
cuirp pheacanna na feòla, le timchioll-
ghearradh Chriosd:

12 Air dhuibh bhi adhlaicte mar-
aon ris ann am baisteadh, anns am
bheil sibh mar an ceudna air bhur
togail suas maraon ris tre chreidimh
oibreachaidh Dhè, a thog suas esan
o na marbhaibh.

13 Agus sibhse a bha marbh 'nar
n-euceartaibh agus *ann an* neo-thim-
chioll-ghearradh bhur feòla, bheoth-
aich e maraon ris, a' maitheadh
dhuibh nan uile euceart;

14 A' dubhadh a mach làmh-
sgrìobhaidh nan orduighean d'ar
taobhne [t], a bha 'nar n-aghaidh, agus
thug e as an t-slighe i, air dha a
sparradh ris a chrann-ceusaidhsan:

15 Air dha uachdranachdan agus
cùmhachdan a chreachadh [u], rinn e
ball-sampuill diubh gu follaiseach, a'
deanamh buaidh-chaithreim os an
ceann tre'*n chrann* ud féin.

16 Uime sin na d'thugadh aon
neach breth oirbh air son bìdh, no
dibhe, no thaobh là féille, no gealaich
nuaidh, no shàbaide:

17 A ta 'nan sgàile air na nithibh
a ta ri, teachd; ach is le Criosd an
corp.

18 Na mealladh aon neach [illegible]
duais uaibh le irioslachd thoileil,
agus aoradh do ainglibh, a' foirneadh
a steach *gu dàna* [illegible]
nach fac e, gu díomhain air a shéid-
eadh suas le inntinn fheòlmhoir féin;

19 Agus gun an ceann a chumail,
o'm bheil an corp uile, air dha bhi air
a bheathachadh trid altan agus bhann-
an, agus air a dhlùth-cheangal ri
chéile, a' fàs le fàs Dé.

20 Uime sin ma fhuair sibh bàs
maille ri Criosd o cheud thoiseachaibh
an t-saoghail, c'ar son, mar dhaoine a
ta beo san t-saoghal, a tha sibh fuidh
orduighibh,

21 (Na bean ri, na blais, na laimh-
sich:

22 Nithe a théid uile a neo-ni le'n
gnàthachadh) a réir àitheantan agus
teagasga dhaoine?

23 Nithe gun amharus aig am bheil
samhladh gliocais ann an aoradh féin-
thoile agus irioslachd, agus mi-
chaomhnadh a' chuirp, ni h-ann an
onoir sam bith chum sàsachaidh na
feòla [c].

CAIB. III.

1 *Tha e nochdadh c'àit an còir dhuinn
Criosd iarraidh: 5 Tha e 'g iarr-
aidh orra an anamhianna feòlmhor
a chlaoidh. 10 an seann duine chur
dhiubh, agus Criosd a chur umpa;
12 'gan earalachadh chum seirce,
irioslachd, agus ionnadh dhleasdanais
eile.*

UIME sin ma dh'éirich sibh
maille ri Criosd, iarraibh an
nithe a ta shuas, far am bheil Criosd
'na shuidhe air deas làimh Dhé.

2 Suidhichibh bhur n-aigne air na
nithibh a ta shuas, agus cha'n ann air
na nithibh a ta air an talamh.

3 Oir a ta sibh marbh, agus a ta
bhur beatha folaichte maille ri Criosd
ann an Dia.

4 Nuair a dh'fheillsichear Criosd,
neach a's e ar beatha-ne, an sin bithidh

[o] *cobhartach dhibh.* [p] *fhòghlum saoghalta.* [r] *teagasg dhaoine o làimh gu làimh, seachadais.* [s] *lànachd.* [t] *a bha gabhail romhainn.* [u] *fhaobhachadh, chur as an armaibh.* [a] *dheònach.* [b] *'ga shàthadh fein sna nithibh.* [c] *ach gun fheum sam bith chum sàsachaidh na feòla.*

sibhse mar an ceudna air bhur foill-[illegible]h maraon ris ann an glòir.

[illegible] Uime sin claoidhibh[d] bhur buill [illegible] air an talamh, strìopachas, neo-gh[illegible]ne, fonn-collaidh, anamhianna, agus sannt, ni a's iodhol-aoradh:

6 Nithe air son am bheil fearg Dhé a' teachd air cloinn na h-easumhlachd.

7 Anns an robh sibhse mar an ceudna a' gluasad uair-eigin[e], 'nuair a bha sibh a' caitheadh bhur beatha 'nam measg[f].

8 Ach a nis cuiribhse uaibh na nithe so uile; fearg, corruich, mìorun, toibheum, cainnt shalach as bhur beul.

9 Na deanaibh breug d'a chéile, do bhrigh gu'n do chuir sibh dhibh an seann duine maille r'a ghnìomharaibh,

10 Agus gu'n do chuir sibh umaibh an *duine* nuadh, a tha air ath-nuadhachadh ann an eòlas, a réir ìomhaigh an tì a chruthaich e.

11 Far nach 'eil Greugach no Iudhach, timchioll-ghearradh, no neo-thimchioll-gearradh, *duine* borb[g], Scitianach, daor *no* saor: ach *is* e Criosd na h-uile, agus anns na h-uile.

12 Uime sin cuiribhse umaibh (mar dhaoine taghta Dhé naomha agus ionmhuinn) innigh[h] thròcaire, caomhalachd, irioslachd-inntinn, mac-antas[i], fad-fhulangas;

13 A' giùlan le chéile, agus a' maitheadh d'a chéile, ma tha cùis ghearain aig neach an aghaidh neach: mar a thug Criosd maitheanas dhuibh-se, mar sin deanaibhse mar an ceudna.

14 Agus thar na nithibh so uile, *cuiribh umaibh* gràdh[l], ni a's e coimh-cheangal na foirfeachd.

15 Agus biodh sìth Dhé a' riaghladh ann bhur cridhe, chum am bheil sibh mar an ceudna air bhur gairm ann an aon chorp; agus bithibh taing-eil.

16 Gabhadh focal Chriosd còmh-nuidh annaibh gu saibhir san uile ghliocas; a' teagasg agus a' comhairl-eachadh a chéile le salmaibh, agus laoidhibh, agus dànaibh spioradail, a' deanamh ciuil do'n Tighearn le gràs ann bhur cridhe.

17 Agus gach ni air bith a ni sibh ann am focal no ann an gnìomh, deanaibh *iad* uile ann an ainm an Tighearna Iosa, a' toirt buidheachais do Dhia eadhon an t-Athair trìdsan.

18 A mhnài, bithibh ùmhal d'ar fearaibh féin, mar is cubhaidh, anns an Tighearn.

19 Fheara-pòsda, gràdhaichibh *bhur* mnài, agus na bithibh searbh[m] 'nan aghaidh.

20 A chlann, bithibh ùmhal d'ar pàrantaibh anns na h-uile nithibh: oir a ta so taitneach do'n Tighearn.

21 Aithriche, na brosnaichibh bhur clann *chum feirge*, air eagal gu'n caill iad am misneach.

22 A sheirbhiseacha, bithibh ùmhal d'ar maighstiribh a réir na feòla, anns na h-uile nithibh; cha'n ann le seirbhis-sùl, mar dhroing a ta toileach-adh dhaoine, ach ann an tréibh-dhireas[n] cridhe, ann an eagal Dé:

23 Agus ge b'e air bith ni a ni sibh, deanaibh o bhur cridhe e, mar do'n Tighearn, agus ni h-ann do dhaoinibh;

24 Air dhuibh fios a bhi agaibh, gu'm faigh sibh o'n Tighearn duais na h-oighreachd: oir is ann do'n Tighearn Criosd a tha sibh a' dean-amh seirbhis.

25 Ach an tì a ni eucoir, gheibh e toillteanas na h-eucorach a rinn e: agus cha 'n'eil leth-bhreth ann.

CAIB. IV.

1 *Tha e cur impidh orra bhi dùrachd-ach ann an ùrnuigh, 5 gluasad gu glic thaobh na muinntir sin nach 'eil fathast air teachd chum fìor eòlais Chriosd. 10 Tha e cur fàilte orra, agus a' guidheadh gach uile ghnè soirbheis doibh.*

A Mhaighstirean, thugaibh d'*ar* seirbhiseachaibh an ni sin a tha ceart agus cothromach, air dhuibh fios a bhi agaibh gu bheil agaibh féin maighstir mar an ceudna air nèamh.

2 Buanaichibh ann an ùrnuigh, a' deanamh faire innte le breith-buidh-eachais;

[d] *marbhaibh.* [e] *roimhe.* [f] *annta.* [g] *fiadhaich, barbarra.* [h] *tiom-chridhe.* [i] *ciuineas.* [l] *seirc, carthannachd.* [m] *garg.* [n] *aon-fhillteachd.*

3 Ag ùrnuigh mar an ceudna air ar soinne, chum gu fosgladh Dia dhuinn dorus na h-ùr-labhraidh, a labhairt rùin-dìomhair Chriosd, air son am bheileamsa ann an cuibhreachaibh:

4 Chum gu foillsich mi e, mar is còir dhomh labhairt.

5 Gluaisibh ann an gliocas thaobh na droinge sin a ta 'n leth muigh, ag ath-cheannach[o] na h-aimsire.

6 Biodh bhur còmhradh a ghnàth ann an gràs[p], air a dheanamh blasda le salann, chum gu'm bi fhios agaibh cionnus is còir dhuibh gach neach a fhreagairt.

7 Foillsichidh Tichicus, bràthair gràdhach, agus ministeir dìleas, agus coimh-sheirbhiseach san Tighearn, gach ni dhuibh a'm' thimchiollsa:

8 A chuir mi d'ar n-ionnsuidh chum na crìche so féin, gu'm biodh fios bhur staide-se aige, agus gu'n d'thugadh e comhfhurtachd d'ar cridhibh.

9 Maille ri Onesimus bràthair dìleas agus gràdhach, a tha dhibh[r] féin. Ni iad aithnichte dhuibh na h-uile nithe *a tha* an so.

10 Tha Aristarchus mo choimhphriosunach a' cur fàilte oirbh, agus Marcus mac peathar do Bharnabas, (mu'n d'fhuair sibh àitheanta; ma thig e d'ar n-ionnsuidh, gabhaibh ris:)

11 Agus Iosa, d'an goirear Iustus, muinntir a tha do'n timchioll-ghearradh. '*S* iad sin a mhàin mo chomh-oibrichean chum rìoghachd Dhé, a bha 'nan comhfhurtachd dhomh.

12 Tha Epaphras, a tha do'r muinntir féin, seirbhiseach Chriosd, a' cur fàilte oirbh, a ghnàth a' deanamh strì dhùrachdaich air bhur son ann an ùrnuighibh, chum gu seas sibh foirfe agus coimhlionta ann an uile thoil Dhé.

13 Oir tha mi deanamh fianuis dha, gu bheil aige mòr theas-ghràdh dhuibhse, agus dhoibhsan a tha ann an Laodicea, agus do'n mhuinntir a tha ann an Hierapolis.

14 Tha Lucas an léigh gràdhach, agus Demas a' cur fàilte oirbh.

15 Cuiribh fàilte air na bràithribh a tha ann an Laodicea, agus air Nimphas, agus air an eaglais *a tha* 'na thigh.

16 Agus an uair a leughar an litir so 'nar measgsa, thugaibh fainear gu'n leughar i ann an eaglais nan Laodiceanach mar an ceudna; agus gu'n leugh sibhse cuideachd an litir o Laodicea.

17 Agus abraibh ri Archipus, Thoir an aire do'n mhinistreileachd a fhuair thu san Tighearn, gu'n coimhlion thu i.

18 Fàilte uamsa Pòl le m' làimh féin. Cuimhnichibh mo chuibhreacha. Gràs *gu robh* maille ribh. Amen.

CEUD LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN TESALONIANACH.

CAIB. I.

2 Tha Pòl a' toirt fios do na Tesalonianaich co chuimhneachail agus a bha e orra anns gach àm, ann am breith-buidheachais agus ùrnuigh air an son; 5 agus mar an ceudna co dhearbhta 's a bha e do fhìrinn, agus do thréibhdhireas an creidimh, agus an impochaidh ri Dia.

POL, agus Siluanus, agus Timoteus chum eaglais nan Tesalonianach, *a tha* ann an Dia an t-Athair agus *ann* an Tighearn Iosa Criosd: gràs dhuibh, agus sìth o Dhia ar n-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Criosd.

2 Tha sinn a' toirt buidheachais do Dhia a ghnàth air bhur sonsa uile, a

[o] *a' fuasgladh.* [p] *le gràs, gràsail.* [r] *uaibh.*

toirt iomraidh oirbh ann ar n-ùrnuighibhne,

3 A' cuimhneachadh gun sgur obair bhur creidimh, agus saothair bhur gràidh, agus foighidin bhur dòchais nar Tighearn Iosa Criosd, am fianuis Dé, agus ar n-Atharne:

4 Air dhuinn fios a bhi againn, a bhràithre gràdhaichte le Dia, air bhur taghadhsa[s].

5 Oir cha d'thainig ar soisgeulne d'ar n-ionnsuidhse ann am focal a mhàin, ach mar an ceudna ann an cumhachd, agus anns an Spiorad naomh, agus ann am mòr lan dearbhachd; mar is aithne dhuibh ciod a' ghnè dhaoine bha annainn 'nar measg air bhur sonsa.

6 Agus rinneadh sibh 'nar luchd-leanmhuinn oirnne, agus air an Tighearn, 'nuair a ghabh sibh ris an fhocal ann am mòr àmhghar, le h-aoibhneas an Spioraid naoimh:

7 Ionnas gu robh sibh 'nar n-eisempleiribh[t] dhoibhsan uile a tha creidsinn an am Macedonia agus ann an Achaia.

8 Oir uaibhse chaidh fuaim focail an Tighearna mach, cha'n ann a mhàin ann am Macedonia agus ann an Achaia, ach mar an ceudna anns gach àit tha bhur creidimh ann an Dia air a sgaoileadh a mach, ionnas nach 'eil feum air sinne a labhairt ni air bith.

9 Oir a ta iad féin a' foillseachadh mu'r timchiollne, ciod a' ghnè dol a steach a bha againn d'ar n-ionnsuidhse, agus cionnus a phill sibh chum Dhé o iodholaibh, a dheanamh seirbhis do'n Dia bheo agus fhior,

10 Agus gu feitheamh r'a Mhac o nèamh, a thog e suas o na marbhaibh, eadhon Iosa a shaor[u] sinne o'n fheirg a ta ri teachd.

C A I B. II.

1 *Tha e cur an céill cionnus a chaidh an soisgeul a shearmonachadh do na Tesalonianachaibh, agus ciod an dòigh air an do ghabh iad ris.* 18 *Tha reuson air a thabhairt c'ar son a bha Pòl co fhada uatha, agus mar an ceudna c'ar son a ta nis a thograd co mòr r'am faicinn.*

OIR is aithne dhuibh féin, a bhràithre, ar dol a steach d'ar n-ionnsuidh, nach robh e ann an dìomhanas.

2 Ach fòs air dhuinn fulang roimhe, agus an déigh ar maslachaidh ann am Philipi, mar is aithne dhuibh, bha dànachd againn ann ar Dia-ne soisgeul Dé a labhairt ribhse maille ri gleachda mòr.

3 Oir cha *robh* ar n-earailne o mhealltoireachd, no o neo-ghloine, no ann an ceilg:

4 Ach mar a mheasadh sinne le Dia mar dhroing a b'iomchuidh an soisgeul earbsadh ruinn, is amhuil sin a labhramaid, ni h-ann mar dhroing a tha toileachadh dhaoine, ach Dhé, a tha dearbhadh ar cridheacha.

5 Oir cha do ghnàthaich sinn uair air bith briathra miodalach, mar is aithne dhuibh, no leithsgeul sainnt; *'s e* Dia *ar* fianuis.

6 Ni mò dh'iarr sinn urram[a] o dhaoinibh, no uaibhse, no o *dhaoinibh* eile, ge d'fheudamaid ar trom a leagadh *oirbhse*, mar abstola Chriosd.

7 Ach bha sinn caomh 'nar measgsa, amhuil a dh'altrumas[b] banaltrum a clann féin:

8 Mar sin, air bhi dhuinne ro dhéidheil oirbhse[c], bu toileach leinn cha'n e mhàin soisgeul Dhé a phàirteachadh[d] ribh, ach mar an ceudna ar n-anama fèin, do bhrigh gu robh sibh ro ionmhuinn leinn.

9 Oir is cuimhne leibh, a bhràithre, ar saothair agus ar sgìos-ne: oir air dhuinn bhi ri h-obair a dh'oidhch' agus a là, chum nach cuireamaid trom air neach sam bith agaibh, shearmonaich sinn duibh soisgeul Dé.

10 *Is* fianuisean sibhse, agus Dia, cia naomha, agus cia cothromach[e], agus neo-lochdach a ghiùlain sinne sinn féin 'nar measgsa a ta creidsinn:

11 Mar is aithne dhuibh, cionnus a dh'earailich sinn, agus a thug sinn

[s] *air bhur taghadhsa le Dia.* [t] *samhlachasaibh.* [u] *a shaoras.* [a] *gloir.* [b] *dh'eiridneas.* [c] *ro dheothasach umaibhse.* [d] *a chomh-roinn.* [e] *h-ionraic.*

comhfhurtachd, agus a chuir sinn impidh air gach aon agaibh fa leth (mar a ni Athair d'a chloinn.)

12 Gu'n gluaiseadh sibh gu cubhaidh do Dhia, a ghairm sibh chum a rioghachd agus a ghlòire féin.

13 Uime sin a ta sinne mar an ceudna a' toirt buidheachais do Dhia gun sgur, do bhrigh 'nuair a ghabh sibh ri focal Dé a chuala sibh uainne, gu'n do ghabh sibh ris cha'n ann mar fhocal dhaoine, ach (mar is e gu firinneach) focal Dé, a tha 'g oibreachadh gu h-éifeachdach annaibhse a ta creidsinn.

14 Oir rinneadh sibhse, a bhràithre, 'nar luchd-leanmhuinn air eaglaisibh Dhé ann an Iudea, a tha ann Iosa Criosd: oir dh'fhuiling sibhse na nithe ceudna o bhur luchd-dùthcha féin, mar a dh'fhuiling iadsan o na Iudhachaibh:

15 A chuir araon an Tighearn Iosa, agus am fàidhean féin gu bàs, agus a rinn geur-leanmhuinn oirnne; agus nach 'eil a' toileachadh Dhé, agus a tha'n aghaidh nan uile dhaoine:

16 A tha bacadh dhinne labhairt ris na Cinneachaibh, chum gu'm biodh iad air an slànuchadh, chum sìr-lìonaidh suas am peacaidh: oir thainig an fhearg orra fa dheireadh[f].

17 Ach air dhuinne, a bhràithre, bhi air ar dealachadh uaibhse rè tamuill bhig, am pearsa ach cha'n ann an cridhe, is ro mhòid a rinn sinn dìchioll air bhur n-aghaidh fhaicinn le mòr thogradh.

18 Uime sin bu mhiann leinn teachd d'ar n-ionnsuidh, (eadhon leamsa Pòl) uair no dhà: ach bhac Satan sinn.

19 Oir ciod e ar dòchasne, no ar n-aoibhneas, no ar crùn-uaille? nach sibhse féin e am fianuis ar Tighearna Iosa Criosd aig a theachd?

20 Oir is sibhse ar glòirne agus ar n-aoibhneas.

CAIB. III.

1 Tha Pòl a' dearbhadh a mhòr ghràidh do na Tesalonianaich, le Timoteus a chur d'an ionnsuidh chum an neartachadh agus comhfhurtachd a thoirt doibh, agus ghairdeachas 'san deigh sin. 18 agus le [illegible] an son, agus [illegible] teachd gu leinne d'an ionnsuidh.

AIR an aobhar sin an uair nach b'urrainn sinn cumail oirnn féin ni b'fhaide, bu taitneach leinn bhi air ar fàgail 'nar n-aonar an baile na h-Aitene:

2 Agus chuir sinn Timoteus ar bràthair agus ministeir Dhé agus ar comh-oibriche ann an soisgeul Chriosd, chum sibhse a dhaingneachadh, agus comhfhurtachd a thoirt duibh mu thimchioll bhur creidimh;

3 Chum nach gluaisteadh[g] neach air bith agaibh leis na trioblaidibh so: oir a ta fhios agaibh féin gu'n d'orduicheadh sinn chuige so.

4 Oir gu deimhin an uair a bha sinn maille ribh, dh'innis sinn duibh roimh-làimh, gu robh sinn gu àmhghar[h] fhulang; eadhon mar a thachair, agus is aithne dhuibh.

5 Air an aobhar so, 'nuair nach robh mise comasach air cumail orm féin ni b'fhaide, chuir mi a dh'fhaghail fios mu'r creidimh, an t-eagal air chor sam bith gu'n do bhuair am buaireadair sibh, agus gu'm biodh ar saothairne diomhain.

6 Ach a nis an uair a thainig Timoteus uaibhse d'ar n-ionnsuidh, agus a thug e deadh sgeul dùinn mu'r creidimh agus bhur gràdh, agus gu bheil cuimhne mhaith agaibh oirnne a ghnàth, a' miannachadh gu mòr sinne fhaicinn, amhuil a ta sinne mar an ceudna sibhse fhaicinn.

7 Uime so, a bhràithre, fhuair sinne comhfhurtachd d'ar taobh ann ar n-uile àmhghar agus theinn tre bhur creidimhse:

8 Oir a ta sinne beo a nis, ma sheasas sibhse gu bunaiteach san Tighearn.

9 Oir ciod an buidheachas a dh'fheudas sinn iocadh do Dhia as bhur lethse, air son an aoibhneis sin

[f] gus a' chuid a's faide. [g] gluaisfeadh. [h] trioblaid.

uile leis am bheil sinn ri gairdeachas d'ar taobh am fianuis ar Dé-ne,

10 A dh'oidhche agus a là a' guidheadh gu ro dhùrachdach gu faiceamaid bhur n-aghaidhse, agus gu leasaicheamaid uireasbhuidh bhur creidimh?

11 A nis gu deanadh Dia féin eadhon ar n-Athair, agus ar Tighearn Iosa Criosd ar slighe-ne a threòrachadh d'ar n-ionnsuidhse.

12 Agus gu d'thugadh an Tighearn oirbh fàs agus bhi ro phailt ann an gràdh d'a chéile, agus do na h-uile dhaoinibh, mar a ta sinne dhuibhse:

13 Chum gu daingnich e bhur cridheacha neo-choireach ann an naomhachd am fianuis Dé eadhon ar n-Atharne, aig teachd ar Tighearna Iosa Criosd maille r'a naomhaibh ī uile.

CAIB. IV.

1 *Tha e cur impidh orra dol air an aghaidh anns gach uileghnè dhiadhachd,* 6 *am beatha a chaitheadh gu naomha agus gu cothromach,* 9 *a chéile a ghràdhachadh,* 11 *agus an gnothuichean féin a leantuinn gu sàmhach; &c.*

O S bàrr ma ta, a bhràithre, cuireamaid a dh'impidh agus a dh'athchuinge oirbh tre'n Tighearn Iosa, mar a fhuair sibh uainne cionnus is còir dhuibh imeachd, agus Dia a thoileachadh, gu meudaicheadh sibh mar sin ni's mò agus ni's mò.

2 Oir a ta fhios agaibh ciod iad na h-àitheantan a thug sinne dhuibh tre'n Tighearn Iosa.

3 Oir is i so toil Dhé, *eadhon* bhur naomhachadhsa, sibh a sheachnadh striopachais:

4 Gu'm b'aithne do gach aon agaibh a shoitheach féin a shealbhachadh ann an naomhachd, agus ann an onoir;

5 Cha'n ann ann am fonn anamiannach, mar *a ni* na Cinnich aig nach 'eil eòlas air Dia:

6 Gun neach air bith a dheanamh eucoir no mealltaireachd sa' chùis air a bhràthair; do bhrigh gur e'n Tighearn a ni dìoghaltas air an uile leithidibh sin, a réir mar a dh'innis sinne mar an ceudna duibh roimhe agus a rinn sinn fianuis.

7 Oir cha do ghairm Dia sinne gu neo-ghloine, ach gu naomhachd.

8 Uime sin an neach a ni tàir, cha'n ann air duine tha e deanamh tàir, ach air Dia, a thug dhuinne a Spiorad naomha féin.

9 Ach a thaobh gràidh bràthaireil, cha 'n'eil feum agaibh mise a scrìobhadh d'ar n-ionnsuidh: oir a ta sibh féin air bhur teagasg o Dhia gràdh a thoirt d'a chéile.

10 Agus gu deimhin tha sibh a' deanamh so thaobh nam bràthar uile, a tha ann am Macedonia gu h-iomlan: ach guidheamaid oirbh, a bhràithre, sibh a mheudachadh ni's mò agus ni's mò;

11 Agus gu'n dean sibh bhur dìchioll a bhi ciuin, agus bhur gnothuiche féin a dheanamh, agus saoithreachadh le'r làmhaibh féin, (amhuil a dh'àithn sinne dhuibh.)

12 Chum gu'n gluais sibh gu cubhaidh thaobh na muinntir sin a ta'n leth muigh, agus nach bi uireasbhuidh ni sam bith oirbh.

13 Ach cha b'àill leam, a bhràithre, sibh a bhi aineolach thaobh na muinntir sin a tha 'nan codal, chum nach dean sibh bròn, eadhon mar dhaoine eile aig nach 'eil dòchas.

14 Oir ma chreideas sinn gu'n d'fhuair Iosa bàs, agus gu'n d'éirich e rìs, amhuil sin mar an ceudna an droing a choidil ann an Iosa, bheir Dia maille ris.

15 Oir so a deireamaid ribh ann am focal an Tighearna, nach bi againne a tha beo agus a dh'fhàgar gu teachd an Tighearna, toiseach orrasan a tha 'nan codal.

16 Oir thig an Tighearn féin a nuas o nèamh le àrd-iolaich ī, le guth an àrd-aingeil, agus le trompaid Dhé: agus éiridh na mairbh ann an Criosd air tùs:

17 An déigh sin sinne a bhios beo agus a dh'fhàgar, togar suas sinn maille riusan anns na neulaibh, an còdhail an Tighearna san athar: agus mar sin bithidh sinn gu siorruidh maille ris an Tighearn.

ī *maille r'a* ainglibh *naomha.* ī *gàir.*

18 Uime sin thugaibh comhfhurt-
achd d'a chéile leis na briathraibh
so.

CAIB. V.

1 *Tha e dol air aghoidh ann an labh-
airt mu theachd Chriosd gu breith-
eanas,* 16 *a' toirt iomadh comhairle,*
23 *agus a' comh-dhùnadh na lit-
reach.*

ACH mu thimchioll nan aimsir
agus nan àm cha 'n'eil feum
agaibhse, a bhràithre, mise a scrìobh-
adh d'ar n-ionnsuidh.
2 Oir a ta sàr fhios agaibh féin
gu'n d'thig là an Tighearna mar
ghaduiche san oidhche.
3 Oir an uair a deir iad, Sìoth-
chaint agus tèaruinteachd, an sin thig
sgrios obann orra, mar shaothair air
mnaoi thorraich; agus cha d'théid
iad as.
4 Ach cha 'n'eil sibhse, a bhràithre,
san dorchadas, ionnas gu'm beireadh
an là sin oirbh mar ghaduiche.
5 Is sibhse uile clann an t-soluis,
agus clann an là: cha'n ann do'n
oidhche, no do'n dorchadas sinn.
6 Uime sin na coidleamaid mar
dhaoine eile; ach deanamaid faire
agus bitheamaid stuama[m].
7 Oir an dream a chòidleas, is anns
an oidhche choidleas iad: agus an
dream a tha air mhisg, is anns an
oidhche tha iad air mhisg.
8 Ach bitheamaidne a tha do'n là
stuama, a' cur oirnn uchd-éididh a'
chreidimh agus a' ghràidh, agus mar
chlogaide, dòchas[n] na slàinte.
9 Oir cha d'orduich[o] Dia sinn
chum feirge; ach chum slàinte fhaot-
ainn trìd ar Tighearna Iosa Criosd,
10 A fhuair bàs air ar son, chum
co aca is codal no faireach dhuinn,
gu'm bitheamaid beo maraon ris.
11 Uime sin thugaibh comhfhurt-
achd d'a chéile, agus togaibh suas
gach aon a chéile, eadhon mar a ta
sibh a' deanamh.
12 Agus guidheamaid oirbh, a
bhràithre, aithne bhi agaibh air an
dream a tha [illegible]
measg, agus a tha [illegible]
Tighearn, agus a tha 'gar [illegible]
eachadh;
13 Agus meas mór a bhi [illegible]
dhiubh [illegible]
Bithibh sìothchail 'nur measg [illegible]
14 A nis guidheamaid oirbh, a
bhràithre, thugaibh rabhadh dhoibh-
san a tha mi-riaghailteach, thugaibh
comhfhurtachd dhoibhsan a tha lag-
chridheach, cumaibh suas iadsan a ta
anmhunn[P], bithibh foighidneach a
thaobh nan uile uile dhaoine.
15 Feuchaibh nach ìoc neach olc
air son uilc do dhuine sam bith: ach
leanaibhs' a ghnàth an ni a ta maith,
araon d'ar taobh féin, agus a thaobh
nan uile dhaoine.
16 Deanaibh gairdeachas a ghnàth.
17 Deanaibh ùrnuigh gun sgur.
18 Anns gach uile ni thugaibh
buidheachas; oir is i so toil Dé ann
an Iosa Criosd d'ar taobh.
19 Na mùchaibh[r] an Spiorad.
20 Na deanaibh tàir air fàidhead-
aireachd.
21 Dearbhaibh na h-uile nithe:
cumaibh gu daingean an ni sin a ta
maith.
22 Seachnaibh gach uile choslas
uilc.
23 Agus gu deanadh Dia na sìoth-
chaint féin naomha sibh gu h-iomlan;
agus *gu deònaicheadh Dia* gu'm bi
bhur n-uile spiorad agus anam agus
chorp air an gleidheadh [illegible]
each gu teachd [illegible] Tighearna Iosa
Criosd.
24 *Is* fìrinneach [illegible] 'gar
gairm, neach mar [illegible]
25 A bhràithre, [illegible]
air ar son-ne.
26 Cuiribh fàilte air [illegible]
uile le pòig naomha.
27 Sparram oirbh a [illegible]
Tighearna, gu'n leughar [illegible]
do na bràithribh naomha [illegible]
28 *Gu robh* gràs ar Tig[illegible]
Criosd maille ribh. Ame[illegible]

[m] *measarra.* [n] *earbsa.* [o] *chuir do shonraich.* [P] *deanaibh cùl-t[illegible] dhoibhsan a ta lag.* [r] *coisgibh.*

DARA LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM NAN TESALONIANACH.

CAIB. I.

1 Tha Pòl a' toirt fios doibh air an deadh bharail a ta aige mu'n creidimh, an gràdh, agus am foighidin; 5 agus a' gnàthachadh reusona chum comhfhurtachd a thoirt doibh fa'n geur-leanmhuinn, gu h-àraidh o cheart bhreitheanas Dè.

POL agus Siluanas, agus Timoteus, chum eaglaise nan Tesalonianach, ann an Dia ar n-Athair, agus *anns* an Tighearn Iosa Criosd:

2 Gràs *gu robh* dhuibh, agus sìth o Dhia ar n-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Criosd.

3 Tha dh'fhiachaibh oirnne buidheachas a thoirt do Dhia a ghnàth air bhur sonsa, a bhràithre, mar is cubhaidh, do bhrigh gu bheil bhur creidimh a' fàs gu ro mhòr, agus gu bheil gràdh gach aon agaibh uile a' meudachadh d'a chéile:

4 Ionnas gu bheil sinne féin a' deanamh uaille asaibhse ann an eaglaisibh Dhé, air son bhur foighidin agus bhur creidimh ann bhur n-uile gheur-leanmhuinnibh agus àmhgharaibh a tha sibh a' fulang:

5 *Ni a ta* 'na chomhara follaiseach air ceart bhreitheanas Dé, chum gu measar gur airidh sibhse air rioghachd Dhé, air son am bheil sibh a' fulang:

6 Do bhrigh gur ceart an ni do Dhia, àmhghar ìocadh dhoibhsan a ta cur àmhghair oirbh;

7 Agus dhuibhse a ta fa àmhghar, fois maraon ruinne, 'nuair a dh'fhoillsichear an Tighearn Iosa o nèamh, maille r'a ainglibh cumhachdach,

8 Ann an teine lasarra, a' deanamh dioghaltais air an droing aig nach 'eil eòlas air Dia, agus nach 'eil ùmhal do shoisgeul ar Tighearna Iosa Criosd:

9 Muinntir air an deanar peanas le sgrios siorruidh o làthair an Tighearna, agus o ghlòir a chumhachd;

10 'Nuair a thig e gu bhi air a ghlòrachadh 'na naomhaibh, agus chum gu'n deanar iongantach e annta-san uile a ta creidsinn san là sin (do bhrigh gu'n do chreideadh ar fianuisne 'nar measgsa.)

11 Air an aobhar so tha sinne mar an ceudna a' deanamh sìr-ùrnuigh air bhur sonsa, chum gu meas ar Dia-ne gur fiu sibhse an gairm *so*, agus gu'n coimhlion e uile dheadhghean *a* mhaitheis, agus obair a' chreidimh le cumhachd:

12 Chum gu'm bi ainm ar Tighearna Iosa Criosd air a ghlòrachadh annaibhse, agus sibhse annsan, a réir gràis ar Dé-ne, agus an Tighearna Iosa Criosd.

CAIB. II.

1 Is àill leis iad a bhuanachadh san fhìrinn ris an do ghabh iad: 3 tha e a' nochdadh gu'm bi claonadh o'n chreidimh ann, 9 agus gu'm foillsichear an t-anacriosd roimh theachd là an Tighearna; 15 agus an lorg so tha e 'g aithris a rìs a cheud earail, agus a' deanamh ùrnuigh air an son.

ANIS guidheamaid oirbh, a bhràithre, thaobh[s] teachd ar Tighearna Iosa Criosd, agus ar comh-chruinneachaidhne d'a ionnsuidh,

2 Gun sibh bhi h-ealamh air bhur crathadh[t] 'nar n-inntinn, no fa

[s] *tríd.* [t] *fa uideal.*

bhuaireas[u], le spiorad, no le focal, no
le litir, mar uainne, mar gu'm biodh
là Chriosd am fagus.
3 Na mealladh neach sam bith sibh
air aon chor: oir cha *d'thig an là sin*
mur d'thig air tùs tréigeadh-creid-
imh, agus *mur* foillsichear duine sin
a' pheacaidh, mac an sgrios;
4 A tha cur an aghaidh agus 'ga
àrdachadh féin os cionn gach ni d'an
goirear Dia, no d'an deanar aoradh[a];
ionnas mar Dhia gu bheil e 'na
shuidhe ann an teampull Dhé, 'ga
nochdadh féin gur Dia e.
5 Nach cuimhne leibh, air dhomh
bhi fathast maille ribh, gu'n d'innis
mi na nithe so dhuibh?
6 Agus is aithne dhuibh ciod a tha
bacadh nis e bhi air fhoillseachadh
'na àm féin.
7 Oir a ta rùn-dìomhair na
h-aindiadhachd ag oibreachadh cheana,
a mhàin gus an toirear air falbh an
ti a ta nis a' bacadh[b].
8 Agus an sin foillsichear an t-aing-
idh sin, a chlaoidheas an Tighearn
le h-anail[c] a bheoil féin, agus d'an
cuir e as le dealradh a theachd:
9 *Eadhon esan* aig am bheil a
theachd a réir oibreachaidh Shatain,
maille ris an uile chumhachd, agus
chomharaibh, agus iongantasaibh
breugach,
10 Agus maille ri uile mhealltair-
eachd na h-eucorach anntasan a
chaillear; a chionn nach do ghabh
iad gràdh na fìrinn, chum gu slàn-
uichteadh iad.
11 Agus air a shon so cuiridh Dia
treun oibreachadh meallaidh d'an
ionnsuidh, ionnas gu'n creid iad a'
bhreug.
12 Chum gu'm bi iad uile air an
dìteadh, nach do chreid an fhìrinn,
ach aig an robh tlachd anns an eucoir.
13 Ach a ta dh'fhiachaibh oirnne
buidheachas a thoirt do Dhia a ghnàth
air bhur sonse, a bhràithre, ionmhuinn
do'n Tighearn, do bhrigh gu'n do
thagh Dia sibh o thùs chum slàinte,
tre naomhachadh an Spioraid, agus
creidsinn na fìrinn:
14 Chum an do ghairm e sibh trid
ar soisgeilne, chum sibh a dh'fhaot-
ainn glòire ar Tighearna Iosa Criosd.
15 Uime sin, a bhràithre, seasaibh
gu daingean, agus cumaibh na teag-
asgan a thugadh dhuibh, co dhiubh is
ann le focal, no *le*'r litirne.
16 A nis gu'n tugadh ar Tighearn
Iosa Criosd e féin, agus Dia eadhon
ar n-Athairne, a ghràdhaich sinn,
agus a thug *dhuinn* sòlas siorruidh,
agus dòchas maith tre ghràs,
17 Comhfhurtachd d'ar cridhese,
agus gu daingnicheadh e sibh anns
gach uile dheadh fhocal agus
ghnìomh.

CAIB. III.

1 *Tha e 'g iarraidh an ùrnuigh air a shon féin, 3 a' cur an céill meud an earbsaidh a tha aige asda, 5 a' guidheadh Dhé as an leth, 6 a' toirt iomadh comhairle orra 'gu h-àraid iad a sheachnadh dìomhanais, agus droch cuideachd; &c.*

FA dheoidh, a bhràithre, deanaibh
ùrnuigh air ar soinne, chum
gu'n ruith focal an Tighearna, agus
gu'm bi e air a ghlòrachadh mar ann
bhur measgsa;
2 Agus chum gu saorar sinne o
dhaoinibh mi-reusonta agus olc: oir
cha'n ann aig na h-uile a ta creid-
imh.
3 Ach a ta an Tighearn dìleas, a
dhaingnicheas agus a choimhideas o'n
olc[d] sibh.
4 Agus a ta earbsa againn san
Tighearn d'ar taobhsa, gu bheil sibh
araon a' deanamh agus gu'n dean
sibh na nithe a tha sinn ag àithneadh
dhuibh.
5 Agus gu seòladh an Tighearn
bhur cridheacha chum gràidh Dhé,
agus chum foighidin Chriosd[d].
6 A nis àithneamaid dhuibh, a
bhràithre, ann an ainm ar Tighearna
Iosa Criosd, sibh féin a dhealachadh
ris gach uile bhràthair a tha 'g im-
eachd gu mi-riaghailteach, agus ni
h-ann a réir an teagaisg a fhuair e
uainne.

[u] *[illegible] ghioraig.* [a] *a ta [illegible].* [b] *mhàin an ni a ta cur bacaidh a nis bacaidh e [illegible] toirear air falbh e.* [c] *spiorad.* [d] *o'n droch spiorad.* [d] *[illegible] gu foighidneach ri Criosd.*

7 Oir a ta fhios agaibh féin cionnus is còir dhuibh ar lorgne leantuinn: oir cha do ghiùlain sinne sinn féin gu mi-riaghailteach 'nar measg;

8 Ni mò a dh'ith sinn aran duine sam bith a nasgaidh; ach le saothair agus anshocair, a dh'oidhche agus a là ri h-obair, chum nach cuireamaid ar trom air a h-aon agaibh:

9 Cha'n e nach 'eil comas[f] againn, ach a chum gu'n deanamaid sinn féin 'nar n-eisempleir dhuibhse, gu ar leantuinn.

10 Oir an uair a bha sinn maille ribh, thug sinn an àithne so dhuibh, mur àill le neach obair a dheanamh, gun e dh'itheadh *bìdh*.

11 Oir tha sinn a' cluinntinn gu bheil daoine àraidh ag imeachd gu mi-riaghailteach 'nar measg, nach 'eil a' deanamh oibre sam bith, ach a' gabhail gnothuich ri nithibh nach buin doibh.

12 A nis tha sinn a' toirt àithne d'an leithidibh sin, agus ag earail orra trìd ar Tighearna Iosa Criosd, le saoithreachadh gu ciuin, gu'n ith iad an aran féin.

13 Agus sibhse, a bhràithre, na sgìthichibh do dheanamh maith.

14 Agus ma ta neach sam bith nach toir ùmhlachd d'ar focalne trìd an litir so, comharaichibh esan, agus na biodh comhluadar agaibh ris, chum gu'm bi nàire air.

15 Gidheadh na measaibh *e* mar nàmhaid, ach thugaibh comhairle air mar bhràthair.

16 A nis gu'n d'thugadh Tighearna na sìth e féin sìth dhuibhse a ghnàth, air gach aon chor. *Gu robh* an Tighearn maille ribh uile.

17 Fàilte uamsa Pòl le m' làimh féin, ni a's e an comhara anns gach uile litir: mar so sgrìobham.

18 Gràs ar Tighearna Iosa Criosd *gu robh* maille ribh uile. Amen.

CEUD LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM THIMOTEUIS.

CAIB. I.

1 *Tha an t-ordugh a thugadh do Thimoteus 'nuair a chaidh Pòl do Mhacedonia, air a chur an cuimhne dha.* 5 *Mu thimchioll feum dligheach an lagha,* 11 *agus gairm Phòil gu bhi 'na abstol;* 20 *agus mu Himeneus agus Alecsander.*

POL abstol Iosa Criosd, a réir àithne Dhé ar Slànuighir, agus an Tighearna Iosa Criosd, *neach a's e* ar dòchas;

2 Chum Thimoteuis m'fhìor mhac anns a' chreidimh: gràs, tròcair, *agus* sìth o Dhia ar n-Athair, agus *o* Iosa Criosd ar Tighearn.

3 Mar a dh'iarr mi ort fantuinn ann an Ephesus, 'nuair a chaidh mi do Mhacedonia, chum gu'n d'thugadh tu ordugh do dhream àraidh gun atharrachadh teagaisg a thoirt uatha;

4 Agus gun aire a thoirt do sgeulachdaibh, agus do shloinnteireachd neo-chrìochnaich, a bheir aobhar do cheisdibh, ni's mò na do fhòghlum diadhaidh, a tha tre chreidimh: *dean mar sin.*

5 A nis 's e's-crìoch do'n àithne gràdh a cridhe glan, agus *a* coguis mhaith, agus *a* creidimh neo-fhealgach:

6 Nithe air do dhream àraidh claonadh uatha, chaidh iad a thaobh chum dìomhanais cainnte;

7 A' miannachadh bhi 'nan luchd-

[f] *ùghdarras, còir.*

teagaisg an lagha, *agus* gun iad a' tuigsinn ciod a deir iad, no ciod iad mu'm bheil iad a' toirt cinnte.

8 Ach tha fhios againn gu bheil an lagh maith, ma ghnàthaicheas neach gu dligheach e:

9 Air do fhios so a bhi aige, nach ann do dhuine fìreanach a dh'orduicheadh an lagh, ach do dhaoinibh neo-dhligheach agus eas-ùmhal, dhoibhsan a ta mi-dhiadhaidh agus do pheacachaibh, do dhaoinibh mi-naomha agus neo-chràbhach, do luchd-marbhaidh aithriche agus do luchd-marbhaidh mhàithriche, do luchd-mortaidh,

10 Do luchd-striopachais, do luchd-anamhianna mi-nàdurra, do luchd-goid dhaoine, do bhreugairibh, do luchd-eithich, agus ma *tha* ni sam bith eile a tha'n aghaidh teagaisg fhallain,

11 A réir soisgeil ghlòrmhoir an Dé bheannuichte, a dh'earbadh riumsa.

12 Agus bheiream buidheachas do Iosa Criosd ar Tighearn, a neartaich mi, do bhrigh gu'n do mheas e mi dìleas, 'gam chur sa' mhinistreileachd;

13 A bha roimhe a'm' fhear-labhairt toibheim, agus a'm' fhear-geur-leanmhuinn, agus a'm' dhuine eucorach. Ach fhuair mi tròcair, do bhrigh gu'n d'rinn mi *so* tre aineolas, ann am mi-chreidimh:

14 Agus bha gràs ar Tighearna thar tomhas ro-phailte *dhomh*, maille ri creidimh, agus *ri* gràdh a ta ann an Iosa Criosd.

15 *Is* fìor an ràdh so, agus is fiu e air gach aon chor gabhail ris, gu'n d'thainig Iosa Criosd do'n t-saoghal a thearnadh pheacach; d'am mise an ceud-fhear.

16 Gidheadh, air a shon so fhuair mi tròcair, chum gu'n foillsicheadh Criosd annamsa air tùs an uile fhad-fhulangas, mar shaimpleir[g] dhoibhsan a chreideadh ann an déigh so, chum na beatha maireannaich.

17 A nis do'n Righ shiorruidh, neo-thruaillidh, neo-fhaicsinneach, *do*'n Dia a ta mhàin glic, *gu robh* onoir agus glòir, gu saoghal nan saoghal. Amen.

18 An àithne so earbam riut Thimoteuis a mhic, a réir nam fàidheadaireachd a rinneadh umad roimhe so, chum trìdsan gu'n cogadh tu deadh chogadh,

19 A' coimhead creidimh agus deadh choguis; ni air do chuid *de dhaoinibh* a chur uatha, rinn iad long-bhriseadh thaobh a' chreidimh.

20 D'am bheil Himeneus agus Alecsander; muinntir a thug mise thairis do Shatan, chum le'n smachdachadh gu'm fòghlumadh iad gun toibheum a labhairt.

CAIB. II.

1 *Gur còir ùrnuigh agus breith-*
buidheachais a ghnàthachadh air son
nan uile dhaoine. 9 *Cionnus is*
còir do mhnàibh bhi air an sgead-
achadh: 12 *cha 'n'eil e ceadaichte*
dhoibh teagasg a thoirt uatha: &c.

IARRAM uime sin, roimh na h-uile nithibh, gu'n deanar athchuinge, ùrnuighean, eadar-ghuidheadh, agus breith-buidheachais air son nan uile dhaoine:

2 Air son righrean, agus air son nan uile a tha ann an ùghdarras: chum gu'n caith sinn ar beatha gu foisneach agus gu siothchail, anns an uile dhiadhachd agus chiatfachd.

3 Oir *tha* so maith agus taitneach am fianuis Dé ar Slànuighir:

4 Neach leis an àill na h-uile dhaoine bhi air an slànuchadh[h], agus iad a theachd chum eòlais na fìrinn.

5 Oir *is* aon Dia *a ta* ann, agus aon eadar-mheadhonair eadar Dia agus daoine, an duine Iosa Criosd;

6 A thug e féin 'na éiric[i] air son nan uile, mar fhianuis ann an àm iomchuidh;

7 Chum an d'orduicheadh mise a'm' shearmonaiche, agus a'm' abstol, (labhram an fhìrinn ann an Criosd, ni'n deanam breug) a'm' fhear-teagaisg nan Ciuneach ann an creidimh agus ann am fìrinn.

8 Uime sin is àill leam na fir a dheanamh ùrnuigh sgach àit, a' togail suas làmha naomha, gun fheirg, gun amharus;

9 Air an dòigh cheudna, na mnài

[g] *shamhlachas.* [h] *tearnadh, saoradh.* [i] *luach-saoraidh.*

a chuideudaich iomchuidh umpa, 'gan sgeadachadh féin le nàisneachd agus stuaim: cha'n ann le casadh an gruaige, no le h-òr, no le neamhnuidibh, no le culaidhibh luachmhor;

10 Ach (mar is cubhaidh do mhnàibh a tha 'g aideachadh diadhachd) le deadh oibribh.

11 Fòghlumadh a' bhean ann an cinineas leis an uile ùmhlachd.

12 Ach ni'n ceadaicheam do mhnaoi teagasg a thoirt uaipe[l], no ceannas a ghlacadh air an fhear, ach i bhi 'na tosd.

13 Oir is e Adhamh a chruthaicheadh air tùs, *agus* 'na dhéigh sin Eubha.

14 Agus cha b'e Adhamh a mhealladh; ach air do'n mhnaoi bhi air a mealladh, bha i sa' chionta.

15 Gidheadh tearnar i tre bhreith cloinne, ma bhuanaicheas iad ann an creidimh, agus ann an gràdh, agus ann an naomhachd, maille ri stuaim.

CAIB. III.

1 *Ciod iad na buaidhean a's còir bhi air na h-easbuigibh, agus air na deaconaibh, agus air am mnàibh;* 14 *agus c'ar son a scrìobh Pòl na nithe so gu Timoteus.* 15 *Mu thimchioll na h-eaglais, agus na fìrinn beannuichte a ta air a teagasg agus air a h-aideachadh innte.*

IS ràdh fìor so, Ma tha togradh aig aon duine chum dreuchd easbuig[m], tha e miannachadh deadh oibre.

2 Uime sin is còir do easbuig bhi neo-lochdach, 'na fhear aon mhnà, faireil, crìonna[n], deadh-bheusach, daonnachdach, ealamh gu teagasg;

3 Gun bhi 'na phòitear[o], gun bhi buaillteach, gun bhi déidheil air buannachd shalaich: ach macanta, neo-thuasaideach[p], neo-shanntach;

4 'Na dhuine a riaghlas a thigh féin gu maith, aig am bheil a chlann fuidh smachd maille ris an uile shuidheachadh-inntinn[r];

5 (Oir mur aithne do dhuine a thigh féin a riaghlachadh, cionnus a ghabhas e cùram do eaglais Dhé?)

6 Gun bhi 'na nuadh-chreideach, an t-eagal, air dha bhi air atadh le h-uabhar, gu'n tuit e ann an dìteadh an diabhoil.

7 Is còir dha mar an ceudna deadh theisteas bhi aige uathasan a ta'n leth muigh; air eagal gu'n tuit e ann an aithis[s], agus *ann an* ribe an diabhoil.

8 Mar an ceudna *is còir* do na deaconaibh[t] *bhi* suidhichte, gun an teangadh bhi leam leat, gun bhi cionail[u] air mòran fìona, gun bhi déidheil air buannachd shalaich,

9 A' cumail rùn-dìomhair a' chreidimh ann an coguis ghloin.

10 Agus biodh iadsan mar an ceudna air an dearbhadh an toiseach; agus an sin gnàthaicheadh iad dreuchd deacoin[a], air dhoibh bhi *air am faghail* neo-choireach.

11 Is amhuil sin *is còir* do na mnàibh[b] bhi suidhichte, gun bhi 'nan luchd-tuaileis[c]; *ach bhi* measarra, ionraic sna h-uile nithibh.

12 Biodh na deacoin 'nam fir aon mhnà, a' riaghlachadh an cloinne, agus an tighe féin gu maith.

13 Oir an droing a ghnàthaich dreuchd deacoin gu maith, tha iad a' cosnadh deadh cheum dhoibh féin, agus dànachd mhòr sa' chreidimh, a tha ann an Iosa Criosd.

14 Scrìobham na nithe so chugad, an dòchas teachd gu grad a' t'ionnsuidh:

15 Ach ma ni mi moille, chum gu'm bi fhios agad cionnus is còir dhuit thu féin a ghiùlain ann an tigh Dhé, ni a's e eaglais an Dé bheo, post agus stéidh-dhaingnich[d] na fìrinn.

16 Agus gun amharus is mòr rùn-dìomhair na diadhachd: dh'fhoillsicheadh Dia san fheòil, dh'fhìreanaicheadh e san spiorad, chunncas le ainglibh e, shearmonaicheadh e do na Cinneachaibh, chreideadh ann air an t-saoghal, ghabhadh suas e chum glòire.

[l] *uaithe.* [m] *oifig fir-coimhid.* [n] *ciallach, stuama.* [o] *trom air fìon.* [p] *neo-charroideach.* [r] *chudthromachd, fhonnmhoireachd.* [s] *scainnil.* [t] *do'n luchd-fritheolaidh.* [u] *ceisteil, déidheil.* [a] *fritheileadh iad.* [b] *d'am mnàibh.* [c] *luchd-càineadh.* [d] *bunait.*

CAIB. IV.

1 Tha e a' roimh-innseadh gu'n d'théid daoine anns na h-aimsiribh deireannach air seacharan o'n chreidimh: 6 agus chum nach biodh Timoteus a dhèidh-laimh 'na dhleasdanas, tha e toirt comhairlean tagsamhail air.

ANIS a deir an Spiorad gu soilleir, anns na h-aimsiribh deireannach[e] gu'n tréig dream àraidh an creidimh, a' toirt aire do spioraidibh mealltach agus do theagasgaibh dheamhan;

2 Trid ceilge bhreugairean[f], air bhi d'an coguisibh air an losgadh le iarunn dearg;

3 A' toirmeasg pòsaidh, *agus ag iarraidh* bidheanna a sheachnadh, a chruthaich Dia chum an gabhail maille ri breith-buidheachais leosan a ta creidsinn, agus aig am bheil eòlas na fìrinn.

4 *Oir is* maith gach ni a chruthaich Dia, agus cha'n ion ni sam bith a dhiùltadh, a ghabhar le breith-buidheachais:

5 Oir a ta e air a naomhachadh le focal Dé agus le h-ùrnuigh.

6 Ma chuireas tu na nithe so an cuimhne do na bràithribh, bithidh tu a'd' dheadh mhinisteir do Iosa Criosd, air t'altrum suas ann am briathraibh a' chreidimh, agus an deadh theagaisg air an do ghabh thu eòlas[g],

7 Ach diùlt sgeulachda mi-dhiadhaidh shean bhan, agus cleachd thu féin chum diadhachd.

8 Oir a ta an cleachda corporra tarbhach chum beag nithe; ach a ta 'n diadhachd tarbhach chum nan uile nithe, aig am bheil gealladh na beatha a ta làthair, agus a chum teachd.

9 Is ràdh fìrinneach so, agus is fiu e air gach aon chor gabhail ris.

10 Oir is ann uime so a ta sinn maraon ri saothair, agus a' fulang maslaidh, do bhrigh gu bheil dòchas[h] againn san Dia bheo, neach a's e Slànuighear nan uile dhaoine, gu h-àraid nan creideach.

11 Aithn agus teagaisg na nithe so.

12 Na deanadh duine sam bith tarcuis air t'òige; ach bi thus' a'd' elsempleiri do na creidich, ann am focal, ann an caitheadh-beatha, ann an gràdh, ann an spiorad, ann an creidimh, ann am fìor-ghloine.

13 Gus an d'thig mi, thoir an aire do leughoireachd, do earail, do theagasg.

14 Na dearmad an tiodhlac a ta annad, a thugadh dhuit tre fhàidheadaireachd, maille ri leagadh làmh na seanaireachd ort.

15 Smuaintich air[i] na nithibh sin, thoir thu féin gu tur dhoibh, chum gu'm bi do theachd air t'aghaidh follaiseach do na h-uile.

16 Thoir aire dhuit féin, agus do d' theagasg; buanaich annta: oir le so a dheanamh, saoraidh tu araon thu féin, agus iadsan a tha 'g éisdeachd riut.

CAIB. V.

1 Riaghailtean a's còir a leantuinn ann an cronachadh, 3 Mu bhantrachaibh. 17 Mu sheanairibh. 23 Comhairle do Timoteus mu thimchioll a shlàinte, &c.

NA garg-chronaich seanair, ach cuir impidh air mar athair, *agus* air na h-òig-fhir mar bhràithribh;

2 Na mnài aosda mar mhàithrichibh, na mnài òga mar pheathraichibh, maille ris an uile fhìor-ghloine.

3 Thoir urram do bhantrachaibh a tha 'nam bantrachaibh da rìreadh.

4 Ach ma tha bantrach air bith aig am bheil clann no oghachan, fòghlumadh iad air tùs bhi dleasdanach 'nan tighibh féin, agus ath-dhìol a thoirt d'am pàrantaibh: oir a ta so maith agus taitneach am fianuis Dé.

5 A nis cuiridh ise a ta 'na bantraich da rìreadh, agus air a fàgail 'na h-aonar, a dòchas ann an Dia, agus buanaichidh si a là agus a dh'oidhche ann an athchuingibh, agus ann an ùrnuighibh.

6 Ach ise a tha caitheadh a beatha am macnus[m], air dh'i bhi beo, tha i marbh.

7 Uime sin àithn na nithe so

e anns na h-aimsiribh ri teachd. f A' labhairt bhreug ann an ceilg. g air an [illegible] h [illegible] i [illegible]chas. l Gabh cùram do. m gu sòghail.

dhoibh, chum gu'm bi iad neo-lochdach.

8 Ach mur dean duine solar air son a chuideachd féin, agus gu h-àraid air son muinntir a theaglaich, dh'àicheadh e'n creidimh, agus is miosa e na anacreideach.

9 Na gabhar bantrach san àireamh a bhios fuidh thri fichead bliadhna dh'aois, a bha 'na mnaoi aon fhir,

10 Air am bheil teisteas[n] a thaobh dheadh oibre; ma dh'oil i[o] clann, ma thug i aoidheachd uaipe, ma dh'ionnlaid i cosa nan naomh, ma dh'fhòir i air luchd-àmhghair, ma lean i gu dìchiollach gach deadh obair.

11 Ach diùlt na bantraich òga: oir an uair a dh'fhàsas iad mear an aghaidh Chriosd, is miann leo pòsadh;

12 Muinntir a ta fuidh dhìteadh, a chionn gu'n do thréig iad an ceud chreidimh.

13 Agus os bàrr, fòghlumaidh iad bhi dìomhanach, a' dol mu'n cuairt o thigh gu tigh; agus cha'n e mhàin dìomhanach, ach mar an ceudna gabhannach, agus a' gabhail gnothuich ris na nithibh nach buin doibh, a' labhairt nithe nach bu chòir dhoibh.

14 Is àill leam uime sin na *mnài* òga a phòsadh, iad a bhreith cloinne, a stiùradh an tighe, agus gun chionfath air bith a thoirt do'n eascaraid labhairt gu toibheumach.

15 Oir a ta cuid a cheana air dol a thaobh an déigh Shàtain.

16 Ma tha aig creideach no aig ban-chreideach bantracha, fòireadh iad orra, agus na biodh an trom air an eaglais; chum's gu'n dean i cabhair orrasan a tha 'nam bantrachaibh da rìreadh.

17 Measar gur fiu na seanairean a riaghlaicheas gu maith urram dùbailte, gu h-àraid iadsan a tha saoithreachadh san fhocal agus ann an teagasg.

18 Oir a deir an sgriobtuir, Na ceangail beul an daimh a tha saltairt[p] an arbhair: agus, Is fiu an t-oibriche a thuarasdal.

19 Na gabh casaid an aghaidh seanair, ach le dithis no triuir a dh'fhianuisibh.

20 Iadsan a tha peacachadh cronaich an làthair nan uile, chum gu'n gabh càch eagal mar an ceudna.

21 Sparram ort am fianuis Dé, agus an Tighearna Iosa Criosd, agus nan aingeal taghta, gu'n coimhid[r] thu na nithe so gun aon a chur roimh neach eile, gun ni air bith a dheanamh le claon bhreth.

22 Na leag *do* làmha gu h-obann air duine sam bith, agus na biodh comhpairt agad do pheacaibh dhaoin' eile: coimhid thu féin glan.

23 Na h-òl uisge ni's mò, ach cleachd beagan fìona air son do ghoile, agus t'anmhuinneachd mhinic.

24 Tha peacanna cuid do dhaoinibh follaiseach roimh-làimh, a' dol rompa chum breitheanais; agus tha *peacanna* dhream àraidh 'gan leantuinn.

25 Mar an ceudna tha deadh oibre *cuid* follaiseach roimh-làimh; agus na *h-oibre* a ta air ghleus eile, cha'n fheudar am folach.

CAIB. VI.

1 Mu dhleasdanas sheirbhiseach: 5 Gun chomunn bhi againn ri droch luchd-teagaisg. 6 Is buannachd mhòr an diadhachd: 10 'Se gaol an airgid freumh gach uile. 11 Ciod is còir do Thimoteus a sheachnadh, agus a leantuinn; &c.

MEASADH a' mheud 's a ta fuidh'n chuing 'nan seirbhisich, gur fiu am maighstirean féin an uile urram; chum's nach faigh ainm Dhé, agus *a* theagasg toibheum.

2 Agus iadsan aig am bheil maighstirean creideach, na deanadh iad tarcuis orra, air son gur bràithrean iad: ach gu ma fearr leo seirbhis a dheanamh *dhoibh*, do bhrigh gu bheil iad creideach agus ionmhuinn, 'nan luchd comhpairt do thiodhlac *a' ghràis*. Na nithe so teagaisg agus earailich.

3 Ma bheir aon neach atharrachadh teagaisg uaith, agus nach aontaich e do bhriathraibh fallàin, eadhon do bhriathraibh ar Tighearna Iosa Criosd,

[n] *fianuis.* [o] *thog i suas.* [p] *bualadh.* [r] *ghleidh.*

agus do'n teagaisg a ta réir na diadh-
achd ;
4 Tha e uaibhreach, gun eòlas aige
air ni sam bith, ach e as a chéill mu
thimchioll cheisdean, agus bhriathar-
chonnsachadh[s], o'n d'thig farmad,
comh-stri, anacainnt, droch amharus-
an,
5 Fiar-dheasboireachd dhaoine
'gam bheil inntinn thruaillidh, agus
as eugmhais na fìrinn, a' meas gur
buannachd[t] an diadhachd : dealaich
ris an leithidibh sin.
6 Ach is buannachd mhòr an
diadhachd maille ri toileachas-inntinn.
7 Oir cha d'thug sinn ni air bith
leinn do'n t-saoghal, agus *is* soilleir
nach urradh sinn ni sam bith thoirt as.
8 Uime sin air dhuinn biadh agus
eudach a bhi againn, bitheamaid
toilichte leo sin.
9 Ach an dream le'n àill bhi beart-
ach, tuitidh iad ann am buaireadh,
agus ann an ribe, agus *ann an* iomad
anamhiann amaideach agus ciurrail[u],
a bhàthas daoine ann am milleadh
agus ann an sgrios.
10 Oir is e gaol an airgid freumh
gach uile : ni am feadh a mhiann-
aich dream àraidh, chaidh iad air
seacharan o'n chreidimh, agus
throimh-lot siad iad féin le iomadh
cràdh.
11 Ach thusa, O òglaich Dhé,
teich o na nithibh sin : agus lean fìr-
eantachd, diadhachd, creidimh, gràdh,
foighidin, ceannsachd.
12 Còmhraig deadh chòmhrag[a] a'
chreidimh, gabh greim do'n bheatha
mhaireannaich, chum mar an ceudna
an do ghairmeadh thu, agus dh'aid-
ich thu deadh aidmheil an làthair
mòrain fhianuisean.
13 Sparram ort ann am [illegible]
a bheothaicheas na h-uile [illegible]
am fianuis Iosa Criosd, [illegible]
uis air deadh aidmheil [illegible]
Phontius Pilat ;
14 Thu choimhead na [illegible]
gun smal, gun lochd, gu [illegible]
Tighearna Iosa Criosd :
15 Ni ann a àmaibh [illegible]
dh'fhoillsicheas an ti a ta b[illegible]
agus a mhàin cumhachdach, [illegible]
nan righ agus Tighearna nan tigh-
earna ;
16 Neach 'na aonar aig am bheil
neo-bhàsmhorachd, a ta 'na chòmh-
nuidh san t-solus dh'ionnsuidh nach
feudar teachd, neach nach faca duine
sam bith, agus nach mò dh'fheudas e
fhaicinn : dhasan *gu robh* onoir agus
cumhachd siorruidh. Amen.
17 Thoir àithne do na daoinibh a
ta saibhir san t-saoghal so, gun iad a
bhi àrd-inntinneach, agus gun dòch-
as a chur ann an saibhreas neo-
chinnteach, ach anns an Dia bheo, a
tha toirt duinn nan uile nithe gu
saibhir r'am mealtuinn :
18 Iad a dheanamh maith, iad a
bhi saibhir ann an deadh oibribh, eal-
amh gu roinn[b], comh-pàirteach ;
19 A' tasgaidh suas doibh féin
deadh bhunait fa chomhair an àm ri
teachd, chum's gu'n dean iad greim
air a' bheatha mhaireannaich.
20 Oir a Thimoteuis, coimhid an
ni sin a dh'earbadh riut, a' seachnadh
faoin-chòmhraidh mhi-naomha, agus
comh-chogadh eolais d'an tiubhrar
gu breugach an t-ainm sin[c].
21 Ni air bhi do dhream àraidh ag
aidmheil, chaidh iad air seacharan
thaobh a' chreidimh. Gràs *gu robh*
maille riut. Amen.

[s] *stri mu fhoclaibh.* [t] *tairbhe.* [u] *diubhalach, dosgainneach, dochannach.*
[a] *Cuir deadh chath.* [b] *easguidh a thoirt an cuid uatha.*
[c] *i. e. a[illegible]m eòlais.*

DARA LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM THIMOTEUIS.

CAIB. I.

1 Gràdh Phòil do Thimoteus, agus an creidimh treibhdhireach a bha ann an Timoteus féin, agus, na mhàthair agus 'na shean-mhàthair. 6 Tha e cur impidh air tiodhlac Dhé a bha ann a dhùsgadh suas, 8 e bhi seasmhach agus foighidneach fuidh gheur-leanmhuinn, 13 agus e a bhuanachadh ann am foirceadal agus ann am fìrinn an teagaisg a dh'fhoghluim e uaith-sin, &c.

POL abstol Iosa Criosd tre thoil Dé, a réir geallaidh na beatha, a tha ann an Iosa Criosd;

2 Gu Timoteus *mo* mhac gràdhach: gràs, tròcair, *agus* sìothchaint o Dhia an t-Athair, agus *o* Iosa Criosd ar Tighearn.

3 Bheiream buidheachas do Dhia, d'an deanam seirbhis o *m'* shinnsiribh le coguis ghloin, gu bheil agam cuimhne ortsa a ghnàth a là agus a dh'oidhche, ann am ùrnuighibh:

4 Air dhomh bhi ro-thogarrach air thusa fhaicinn, a' cuimhneachadh do dheura, chum gu'm bi mi air mo lìonadh le gairdeachas:

5 'Nuair a chuimhnicheas mi an creidimh neo-chealgach a tha annadsa, a chòmhnuich air tùs a'd' sheanmhàthair Lois, agus a'd' mhàthair Eunice; agus is deimhin leam a tha annadsa mar an ceudna.

6 Air an aobhar so cuiream an cuimhne dhuit, thu dh'ath-bheothachadh tiodhlaic Dhé, a tha annad tre chur mo làmhsa ort.

7 Oir cha d'thug Dia dhuinne spiorad na geilt; ach *spiorad* a' chumhachd, agus a' ghràidh, agus na h-inntinn fhallain.

8 Uime sin na gabhsa nàire do fhianuis ar Tighearna, no dhiomsa a phriosunach: ach biodh do chuid agad do àmhghar an t-soisgeil, a réir cumhachd Dhé;

9 A shaor sinne, agus a ghairm *sinn* le gairm naomha, cha'n ann a réir ar n-oibre, ach a réir a rùin féin agus a ghràis a thugadh dhuinne ann an Iosa Criosd, roimh thoiseach an t-saoghail,

10 Ach a dh'fhoillsicheadh a nis tre theachd ar Slànuighir Iosa Criosd, a chuir as do'n bhàs, agus a thug beatha agus neo-bhàsmhorachd chum soluis, trid an t-soisgeil:

11 Chum an d'orduicheadh mise a'm' shearmonuiche, agus a'm' abstol, agus a'm' fhear-teagaisg nan Cinneach,

12 An t-aobhar fa'm bheil mi mar an ceudna a' fulang nan nithe so; gidheadh cha 'n'eil nàire orm: oir a ta fhios agam co ann a chreid mi, agus is dearbh leam gu bheil esan comasach air an ni sin a dh'earb mi ris a choimhead fa chomhar an là sin.

13 Cum gu daingean samhladh fìrinneach nam briathar fallain, a chuala tu uamsa, ann an creidimh agus ann an gràdh a ta ann an Iosa Criosd.

14 Coimhid an taisgeach maith sin a dh'earbadh riut, trid an Spioraid naoimh a tha chòmhnuidh annainn.

15 Tha fhios so agad, gu'n do phill iadsan uile a tha san Asia uamsa; d'am bheil Phigellus agus Hermogenes.

16 Gu'n d'thugadh an Tighearn tròcair do theaghlach Onesiphoruis; oir is minic a thug e sòlas dhomhsa, agus cha do ghabh e nàire do m' shlabhraidh.

17 Ach an uair a bha e san Ròimh

dh'iarr e mach mi gu dìchiollach,
agus fhuair e *mi.*
18 Gu deònaicheadh an Tighearn
dhasan gu'm faigh e tròcair o'n Tigh-
earn san là sin: agus a ta sàr-fhios
agad, cia lion nithe anns an d'rinn e
frithealadh dhomhsa ann an Ephesus.

CAIB. II.

*1 Tha e cur impidh air a rìs a bhi
seasmhach agus buan-mhaireannach,
agus dleasdanas fìor òglaich an
Tighearna chur gnìomh, leis an
fhocal a roinn gu ceart, agus faoin-
chainnt mhi-dhiadhaidh a sheach-
nadh. 17 Mu Himeneus agus
Philetus. 19 Tha bunait an Tigh-
earna cinnteach, &c.*

UIME sin bi-sa, a mhic, làidir
anns a' ghràs a ta ann an Iosa
Criosd.
2 Agus na nithe a chuala tu uamsa
am measg mhòrain fhianuisean, earb
thusa na nithe sin féin ri daoinibh
fìrinneach, a bhios iomchuidh gu
daoin' eile a theagasg mar an ceud-
na.
3 Fuiling thusa uime sin cruaidh-
chas, mar dheadh shaighdear Iosa
Criosd.
4 Cha dean neach sam bith a lean-
as an cogadh e féin a ribeadh[d] ann
an gnothuichibh na beatha *so*:
chum's gu'n toilich e an ti a thagh e
gu bhi 'na shaighdear.
5 Agus mar an ceudna ge do ni
fear air bith strì[e], cha chrùnar e
mur dean e strì gu dligheach.
6 Is còir do'n treabhaiche a
shaoithricheas air tùs, comhroinn
fhaotainn do'n toradh.
7 Smuaintich air na nithibh a deir-
eam; agus gu d'thugadh an Tigh-
earna dhuit tuigse anns na h-uile
nithibh.
8 Cuimhnich gu'n do thogadh o
na marbhaibh Iosa Criosd, do shìol
Dhaibhidh, a rèir mo shoisgeilse:
9 Air son am bheil mi a' fulang
mar fhear droch-bheirt, eadhon gu
geimhlibh: ach cha 'n 'eil focal Dhé
ceangailte.
10 Uime sin iomchaiream na h-uile
nithe airson nan daoine taghta, chum
gu'm faigh iadsan mar an ceudna an
t-slàinte a tha ann an Iosa Criosd,
maille ri glòir shìorruidh.
11 *Is* ràdh fìor so, Ma bhàsaicheas
sinn maille ris, gu'm bi sinn beo mar
an ceudna maille ris:
12 Ma dh'fhuilgeas sinn, riogh-
aichidh sinn mar an ceudna maraon
ris: ma dh'àicheadhas sinn *e*, àich-
eadhaidh esan sinne mar an ceud-
na:
13 Ge nach creid sinne[f], gidheadh
tha esan a' fantuinn fìrinneach; cha
'n'eil e'n comas d'a e féin àicheadh.
14 Cuir na nithe sin an cuimhne
dhoibh, a' cur sparraidh orra am fian-
uis an Tighearna, gun iad a bhi conn-
sachadh mu fhoclaibh anns nach 'eil
tairbhe sam bith, *ach* a thilgeas bun
os ceann an luchd-éisdeachd.
15 Dean dìchioll air thu féin a
nochdadh dearbhta do Dhia, a'd'
shaothraiche nach ruig a leas nàire a
ghabhail, a roinn focail na fìrinn gu
ceart.
16 Ach seachain faoin-chainnt mhi-
naomha; oir théid iad air aghaidh
chum an tuilleadh mi-dhiadhachd.
17 Agus ithidh am focal mar
chnàmhuinn; *d'am bheil Himeneus
agus Philetus;*
18 Muinntir thaobh na fìrinn a
chaidh air seacharan, ag ràdh gu'n
deachaidh an aiseirigh cheana seach;
agus a ta tilgeadh creidimh dream
àraidh bun os ceann.
19 Gidheadh, a ta bunait Dhé a'
seasamh daingean, aig am bheil an
seula[g] so, Is aithne do'n Tighearn
an droing sin a's leis. Agus, Gach
neach a tha 'g ainmeachadh ainm
Chriosd, tréigeadh e eucoir.
20 Ach ann an tigh mòr cha'n e
mhàin gu bheil soithichean òir, agus
airgid, ach mar an ceudna *soithiche*
fiodha, agus creadha[h]; agus cuid
diubh chum onoir, agus cuid eile
chum easonoir.
21 Uime sin ma ghlanas neach e
féin uatha so, bithidh e 'na shoith-
each chum onoir, air a naomhachadh,
agus iomchuidh chum feum a' mhaigh-

[d] *a chur an sàs.* [e] *gleachda, strì.* [f] *Ge nach 'eil sinne fìrinneach.*
[g] *scrìobhadh.* [h] *criadha.*

stir, deas chum gach uile, dheadh oibre.

22 Teich uime sin o anamhiannaibh na h-òige: ach lean fìreantachd, creidimh, gràdh, sìothchaint maille riusan a ta gairm air an Tighearn o chridhe glan.

23 Ach seachain ceisdean amaideach agus neo-fhoghluimte, air dhuit fios a bhi agad gu'n tog iad connsaichean[i].

24 Agus cha'n fheud òglach an Tighearna bhi conspoideach; ach ciùin ris na h-uile dhaoinibh, ealamh chum teagaisg, foighidneach,

25 Ann an ceannsachd a' teagasg na droinge a sheasas 'na aghaidh; dh'fheuchainn an d'thoir Dia uair air bith aithreachas dhoibh, chum aidmheil na fìrinn;

26 Agus air mosgladh dhoibh gun d'théid iad as o ribe an diabhoil, aig am bheil iad air am beo-ghlacadh chum a thoile.

CAIB. III.

1 *Tha e toirt rabhaidh dha mu thimchioll nan amanna ri teachd,* 6 *ag innseadh cò iad naimhde na fìrinn,* 10 *a' cur eisempleir féin roimhe,* 10 *agus a' moladh nan scriobtuir naomha.*

ACH biodh fhios so agad, gu'n d'thig anns na làithibh deireannach[l] aimsire cunnartach.

2 Oir bithidh daoine féin-spéiseil, sanntach, ràiteachail, uaibhreach, toibheumach, easùmhal do phàrantaibh, mi-thaingeil, mi-naomha,

3 Gun ghràdh nàdurra, 'nan luchd brisidh coimh-cheangail, tuaileasach, neo-gheamnuidh, borb, gun ghaol do'n mhaith,

4 Fealltach, ceann-laidir, àrdanach, aig am bheil barr gràidh do shaimh na ta aca do Dhia.

5 Aig am bheil coslas diadhachd, ach a ta 'g àicheadh a cumhachd: o'n leithidibh sin tionndas'[m] air falbh.

6 Oir is ann diubh so a ta'n droing sin a dh'èalaidheas[n] a steach do thighibh, agus a bheir leo am braighdeanas mnài shuarach air an uallachadh le peacaibh, air an iomain le iomadh gnè anamhianna,

7 A' sìr-fhòghlum, agus gun chomas doibh gu bràth teachd chum eòlais na fìrinn.

8 Agus mar a chuir Iannes agus Iambres an aghaidh Mhaois, mar sin tha iadsan a' cur an aghaidh na fìrinn: daoine aig am bheil inntinn thruaillidh, gun tuigse thaobh a' chreidimh.

9 Ach cha d'théid iad ni's faide air an aghaidh: oir bithidh am mi-chiall follaiseach do na h-uile *dhaoinibh*, mar a bha am *mi-chiallsan* mar an ceudna.

10 Ach a ta làn-fhios agad air mo theagasga, *mo* ghnè beatha, *mo* rùn, *mo* chreidimh, *m'*fhad-fhulangas, *mo* sheirc[o], *m'*fhoighidin,

11 *Mo* gheur-leanmhuinnibh, *m'* fhulangais a thainig orm ann an Antioch, ann an Iconium, ann an Listra; ciod e meud nan geur-leanmhuinn a ghiùlain mi: ach asda uile shaor an Tighearn mi.

12 Seadh, fuilgidh iadsan uile leis an àill am beatha a chaitheadh gu diadhaidh ann an Iosa Criosd, geur-leanmhuinn.

13 Ach fàsaidh droch dhaoine agus mealltairean ni's miosa agus ni's miosa, a' mealladh, agus air am mealladh.

14 Ach buanaich thusa anns na nithibh a dh'fhoghluim thu, agus air an d'rinneadh thu deabh-fhiosraich[p], air dhuit fios a bhi agad cia uaith a dh'fhòghluim thu *iad*;

15 Agus o bha thu a'd' leanabh gu'm b'aithne dhuit na scriobtuire naomha, a tha comasach air do dheanamh glic chum slàinte, tre'n chreidimh a ta ann an Iosa Criosd.

16 *Tha* an scriobtuir uile air a dheachdadh le Spiorad Dé, agus *tha* e tarbhach chum teagaisg, chum spreige, chum leasachaidh, chum oilein ann am fìreantachd:

17 Chum gu'm bi òglach Dhé coimhlionta, làn deas chum gach uile dheadh oibre.

[i] *tuasaidean.* [l] *làithibh ri teachd.* [m] *pill-sa.* [n] *ghoideas.* [o] *ghràdh.* [p] *a dh'earbadh riut.*

CAIB. IV.

1 Tha e cur impidh air a dhleasdanas a dheanamh leis an uile chùram agus dhìchioll; 6 a' toirt cinnte dha gu bheil a bhàs féin am fagus; 9 is àill leis e theachd gu grad d'a ionnsuidh, agus Marcus a thoirt leis, agus nithe àraidh eile mu'n do scrìobh, e chuige; 14 tha e 'toirt rabhaidh dha bhi air fhaicill o Alecsander an ceard-umha ; &c.

SPARRAM ort uime sin am fianuis Dé, agus an Tighearna Iosa Criosd, a bheir breth air na beothaibh agus air na marbhaibh, aig a theachd dealrach agus *ann* a rioghachd:
2 Searmonaich am focal, bi dùrachdach ann an àm is ann an an-àm: spreig[r], cronaich, earailich leis an uile fhad-fhulangas agus theagasg.
3 Oir thig an t-àm anns nach bi fulang aca air teagasg fallàin; ach air do chluasaibh tachasach bhi aca, càrnaidh iad suas dhoibh féin luchd-teagaisg a réir an anamhianna.
4 Agus tionndaidh iad an cluasan o'n fhìrinn, agus iompoichear iad chum sgeulachda faoine.
5 Ach dean thusa faire anns na h-uile nithibh, fuiling cruaidh-chas, dean obair soisgeulaiche, coimhlion[s] do mhinistreileachd.
6 Oir tha mi nis gu bhi air m'ìobradh, agus tha àm mo shiubhail am fagus.
7 Chòmhraig mi an deadh chòmhrag, chrìochnaich mi *mo* thurus[t], ghléidh mi an creidimh.
8 O so a mach taisgear fa m' chomhair crùn fìreantachd, a bheir an Tighearn, am breitheamh cothromach, dhomh san là ud: agus cha'n ann dhomhsa a mhàin, ach dhoibhsan uile mar an ceudna leis an ionmhuinn a theachdsan[u].
9 Dean do dhìchioll air teachd a m' ionnsuidh gu luath.
10 Oir thréig Demas mi, air dha an saoghal so ta làthair a ghràdhachadh, agus chaidh e do Thessalonica; Crescens do Ghalatia, Titus do Dhalmatia.
11 Tha Lucas 'na aonar maille rium. Gabh Marcus agus thoir leat e: oir tha e feumail dhomhsa chum na ministreileachd.
12 Ach chuir mi Tichicus gu h-Ephesus.
13 An fhalluing a dh'fhàg mi ann an Troas aig Carpus, 'nuair a thig thu, thoir *leat*, agus na leabhraichean, ach gu h-àraid na meambrana[z].
14 Rinn Alecsander an ceard-umha iomad olc orm: gu tugadh[b] an Tighearn dha a réir a ghnìomhara.
15 Bi thusa mar an ceudna air t'fhaicill uaith, oir chuir e gu mòr an aghaidh ar briatharne.
16 Aig mo cheud fhreagradh cha robh aon neach leam, ach thréig na h-uile mi: nar agrar orra e.
17 Gidheadh, sheas an Tighearn làimh rium, agus neartaich e mi; chum triomsa gu'm biodh an searmonachadh air a làn-fhoillseachadh[c], agus gu'n cluinneadh na Cinnich uile *e*: agus shaoradh mi a beul an leomhain.
18 Agus saoraidh an Tighearn mi o gach uile dhroch obair, agus gleidhidh e mi chum a rioghachd nèamhaidh féin: dhasan *gu robh* glòir gu saoghal nan saoghal. Amen.
19 Cuir fàilte air Prisca, agus Acuila, agus air teaghlach Onesiphoruis.
20 Dh'fhan Erastus ann an Corintus: ach dh'fhàg mi Trophimus gu tinn ann am Miletum.
21 Dean dìchioll air teachd roimh'n gheamhradh. Tha Eubulus, agus Pudens, agus Linus, agus Claudia, agus na bràithrean uile a' cur fàilte ort.
22 *Gu robh* an Tighearn Iosa Criosd maille ri d' spiorad. Gràs maille ribh. Amen.

[r] *tagair, dearbh.* [s] *thoir làn dearbhadh air.* [t] mo *choimhliong*, mo *réis*. [u] *fhoillseachadh-san.* [z] *parchments.* Sasg. [b] *bheir.* [c] *air a dheanamh aithnichte, air a choimhlionadh.*

LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM THITUIS.

CAIB. I.

1 C'ar son a dh'fhàgadh Titus ann an Crete. 6 Ciod na buadhanna is còir bhi orrasan a thaghar 'nam ministeiribh. 11 Is éigin beoil droch luchd-teagaisg a dhruideadh: 12 ciod a' ghnè dhaoine a tha annta.

POL seirbhiseach Dhé, agus abstol
Iosa Criosd, a réir creidimh[d]
dhaoine taghta Dhé, agus aidmheil na
fìrinn a ta réir diadhachd:
2 Ann an dòchas na beatha mair-
eannaich, a gheall Dia do nach co-
masach[e] breug a dheanamh, roimh
chruthachadh an t-saoghail[f];
3 Ach dh'fhoillsich e fhocal féin,
ann an àm iomchuidh tre shearmon-
achadh, a dh'earbadh riumsa, a réir
àithne Dhé ar Slanuighir;
4 Chum Thituis *mo* dhearbh mhac
féin a réir a' chreidimh choitchionn:
Gràs, tròcair, *agus* sìth o Dhia an
t-Athair, agus o'n Tighearn Iosa
Criosd ar Slànuighear.
5 Air a shon so dh'fhàg mi thu
ann an Crete, chum gu'n cuireadh
tu'n ordugh na nithe a dh'fhàgadh
gun deanamh, agus gu'n suidhicheadh
tu seanairean anns gach baile, a réir
mar a dh'àithn mise dhuit.
6 Ma tha neach sam bith neo-
lochdach, 'na fhear aon mhnà, aig am
bheil a chlann creideach, nach 'eil
fuidh mhi-chliu thaobh ana-caitheimh,
no easumhal.
7 Oir is còir do easbuig a bhi neo-
choireach, mar stiùbhard Dhé; gun
bhi féin-thoileil, no feargach, n[illegible]-
mhar, no buailteach, no cionail air
buannachd neo-ghloin;
8 Ach aoidheil, déidheil air daoin-
ibh maithe, ciallach, cothromach,
naomha, measarra;
9 A' cumail an fhocail fhior gu
daingean, a réir teagaisg chum gu'm
bi e comasach le teagasg fallain, araon
earail a thabhairt, agus an dream a
sheasas 'na aghaidh chur as am barail.
10 Oir a ta mòran ann a tha mi-
riaghailteach, a labhras gu diombain
agus a tha 'nam mealltairibh, gu
h-àraidh iadsan a tha do'n timchioll-
ghearradh:
11 Muinntir a's còir am beul a
dhruideadh, droing a tha tionndadh
thighean iomlan bun os ceann, a'
teagasg nan nithe nach còir, air ghaol
buannachd shalaich.
12 A dubhairt neach àraidh
dhiubh féin, eadhon fàidh dhiubh
féin, *Is* breugoirean a ghnàth na
Cretich, droch fhiadh-bheathaichean,
builg mhall.
13 Tha an fhianuis so fìor: air an
aobhar sin spreig[h] gu geur iad, chum
gu'm bi iad fallain sa' chreidimh;
14 Gun bhi tabhairt aire do fhaoin-
sgeulachdaibh Iudhach, agus do
àitheantaibh dhaoine, a thionndaidheas
o'n fhìrinn.
15 Oir gu deimhin tha na h uile
nithe glan do'n droing a ta glan: ach
dhoibhsan a ta salach, agus mi-chreid-
each, *cha 'n 'eil* aon ni glan; ach tha
an inntinn agus an coguis[i] féin air
an salachadh.
16 Tha iad a' gabhail orra eòlas a
bhi aca air Dia; ach ann an oibribh
tha iad 'ga àicheadh, air dhoibh bhi
gràineil, agus easumhal, agus a thaobh
gach deadh oibre as eugmhais
tuigse[l].

[d] *air son creidimh.* [e] *aithne.* [f] *roimh amanna nan linn.* [g] *chumanta.* [h] *cronaich,* [i] *coimh-fhios, coinsiens.* [l] *mi-ghn[illegible]usda, neo-iomchuidh chum gach deadh oibr[illegible] gn[illegible]*

CAIB. II.

1 *Comhairlean air an tabhairt do Thitus araon mu thimchioll a theagaisg agus a chaitheadh-beatha.* 9 *Mu dheasdanas sheirbhiseach, agus mar an ceudna nan uile Chriosduidh.*

ACH labhair thusa na nithe a thig ri teagasg fallain:
2 *Eadhon* na daoine aosda[m] bhi
aireach, suidhichte[n], measarra, fallain
sa' chreidimh, ann an gràdh, ann am
foighidin:
3 Mar an ceudna na mnài aosda
bhi 'nan giùlan mar is cubhaidh do
naomhachd, gun bhi 'nan luchd tuail-
eis, gun bhi trom air fìon, bhi 'nan
luchd-teagaisg air nithibh maithe;
4 Chum's gu'n teagaisg iad na
mnài òga bhi ciallach, gràdhach air
am fearaibh, gràdhach air an cloinn,
5 *Bhi* eagnuidh, geamnuidh, fan-
tuinn aig an tigh, *bhi* maith, ùmhal
d'am fearaibh, chum nach faigh focal
Dé mi-chliu.
6 Cuir impidh air na daoinibh òga
mar an ceudna, iad bhi ciallach.
7 Anns na h-uile nithibh 'gad
nochdadh féin ann ad eisempleir
dheadh oibre: ann an teagasg *a'*
nochdadh neo-thruaillidheachd, suidh-
eachadh inntinn, tréibhdhireis,
8 Càinnt fhallain nach fheudar a
dhìteadh; chum's gu'm bi nàire air
an neach a ta 'nar n-aghaidh, a
chionn nach 'eil droch ni sam bith
aige r'a labhairt umaibh.
9 *Earailich* seirbhisich bhi ùmhal
d'am maighstiribh féin, agus an
deadh-thoileachadh anns na h-uile
nithibh; gun bhi a' labhairt 'nan
aghaidh,
10 Gun bhi a' ceileachadh aon ni
d'an cuid, ach a' nochdadh gach uile
dheadh thairisneachd; chum gu'n
dean iad teagasg Dhé ar Slànuighir
maiseach anns na h-uile nithibh.
11 Oir dh'fhoillsicheadh gràs
slàinteil Dhé do na h-uile dhaoinibh.
12 A' teagasg dhuinn gach mi-
dhiadhachd agus ana-miannan saogh-
alta a dhiultadh, agus ar beatha a chaith-
eadh gu measarra, gu cothromach, agus
gu diadhaidh anns an t-saoghal so
làthair;
13 Air dhuinn sùil a bhi againn
ris an dòchas bheannuichte sin, eadh-
on[o] foillseachadh glòrmhor an Dé mhòir,
agus ar Slànuighir Iosa Criosd:
14 A thug e féin air ar son, chum
gu'n saoradh e sinn o gach aingidh-
eachd, agus gu'n glanadh e dha féin
sluagh sonraichte, eudmhor mu
dheadh oibribh.
15 Na nithe so labhair agus earail-
ich, agus cronaich leis an uile ùghd-
arras. Na deanadh duine sam bith
tàir ort.

CAIB. III.

1 *Tha Titus air a sheòladh le Pòl, araon mu thimchioll nan nithe a bhuineadh dha theagasg, agus nach buineadh;* 10 *is àill leis e chur cùl ri luchd saobh-chreidimh:* 12 *an déigh so, tha e 'g ainmeachadh dha an t-àm, agus an t-àit anns am b'àill leis e theachd d'a ionnsuidh; agus mar sin a ta e a' crìochnach-adh.*

CUIR an cuimhne dhoibh bhi
ùmhal do uachdaranachdaibh
agus do chumhachdaibh, freagarrach
do luchd-riaghlaidh, ullamh chum
gach uile dheadh oibre,
2 Gun olc a labhairt mu neach air
bith, bhi neo-thuasaideach, mìn, a'
taisbeanadh an uile cheannsachd do
na h-uile dhaoinibh.
3 Oir bha sinne féin uair-eigin
ea-céillidh, easumhal, air seacharan,
a' deanamh seirbhis do ìomadh gnè
do anamhiannaibh agus do an-toilibh,
a' caitheadh ar beatha ann am mìorun
agus am farmad, fuath-thoillteannach,
agus a' toirt fuath d'a chéile.
4 Ach an uair a dh'fhoillsicheadh
caoimhneas agus gràdh Dhé ar Slàn-
uighir do dhaoinibh,
5 Cha'n ann o oibribh fìreantachd,
a rinn sinne, ach a réir a thròcair féin
shaor[p] e sinn tre ionnlad na h-ath-
ghineamhuinn, agus ath-nuadhachadh
an Spioraid naoimh:
6 A dhòirt e oirnne gu saibhir,
trìd Iosa Criosd ar Slànuighir;
7 Chum air dhuinn bhi air ar
fìreanachadh trìd a ghràis-san, gu'm
bitheamaid air ar deanamh 'nar

[m] na seana[illegible] [n] [illegible]r. [o] agus. [p] shlànuich.

n-oighreachaibh a réir dòchais na beatha maireannaich.

8 *Is* fìor an ràdh so, agus is àill leam thu thoirt dearbh-chinnte air na nithibh sin, chum gu'm biodh iadsan a chreid ann an Dia, cùramach air toiseach a bhi aca ann an deadh oibribh: oir tha na nithe so maith agus tarbhach do dhaoinibh.

9 Ach seachain ceisdean amaideach, agus sloinnteireachd, agus conspoidean, agus connsachadh mu'n lagh: oir tha iad gun tairbhe agus diomhain.

10 Duine a ta 'na shaobh-chreideach[r], an déigh na ceud agus an dara combairle, diùlt:

11 Air do fhios bhi agad gu bheil a leithid sin *do dhuine* air a chur bun os ceann, agus gu bheil e a' peacachadh, air dha bhi air fhéin-dhìteadh.

12 'Nuair a chuireas mi Artemas a d' ionnsuidh, no Tichicus, dean dìchioll air teachd a m' ionnsuidh gu Nicopolis: oir is ann an sin a chuir mi romham an geamhradh a chaitheadh.

13 Thoir Senas am fear-lagha, agus Apollos air an aghaidh san t-slighe gu dùrachdach, chum nach bi ni air bith dh'uireasbhuidh orra.

14 Agus fòghlumadh ar muinntirne mar an ceudna deadh oibre a dheanamh gu dùrachdach fa chomhair ghnàthachadh feumail, chum nach bi iad neo-tharbhach.

15 Tha'n droing a ta maille rium uile a' cur fàilte ort. Cuir fàilte orrasan le'n ionmhuinn sinne sa' chreidimh. Gràs maille ribh uile. Amen.

LITIR AN ABSTOIL PHOIL CHUM PHILEMOIN.

CAIB. I.

1 *Is subhach leis bhi cluinntinn mu chreidimh agus ghràdh Philemoin: 9 air am bheil e 'g iarraidh maitheanas a thabhairt do Onesimus a sheirbhiseach, agus gabhail ris a rìs gu càirdeil.*

POL priosunach Iosa Criosd, agus Timoteus *ar* bràthair, chum Philemoin a's ionmhuinn leinn, agus ar comh-shaothraiche,

2 Agus chum Apphia ionmhuinn, agus Archipuis ar comh-shaighdear, agus chum na h-eaglais a ta ann do thigh:

3 Gràs *gu robh* dhuibh, agus sìth o Dhia ar n-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Criosd.

4 Bheiream buidheachas do m' Dhia, a' sìr-thoirt luaidh' ortsa ann am ùrnuighibh,

5 Air dhomh bhi cluinntinn mu d' ghràdh, agus chreidimh, a tha agad a thaobh an Tighearna Iosa, agus a thaobh nan uile naomh;

6 Chum gu'm bi comh-chomunn do chreidimh éifeachdach ann an aidmheil an uile mhaith, a tha annaibh ann an Iosa Criosd.

7 Oir tha subhachas ro mhòr agus comhfhurtachd againne ann do ghràdhsa, do bhrigh gu bheil innigh[s] nan naomh air faotainn suaimhneis[t] trìd-sa, a bhràthair.

8 Uime sin ge d'fheudainn bhi ro dhàna ann an Criosd, chum an ni a ta iomchuidh àithneadh dhuitse,

9 Gidheadh is fearr leam air son gràidh impidh chur ort[u], air bhi dhomh mar Phòl aosda, agus a nis mar an ceudna a'm' phriosunach air son Iosa Criosd.

[r] *eiriceach.* [s] *cridhe.* [t] *fois.* [u] *gu [illegible]headh ort.*

10 Guidheam ort air son mo mhic
Onesimuis, a ghin mi ann am
gheimhlibh :
11 Neach a bha uair-eigin neo-
tharbhach dhuitse, ach a nis a tha
tarbhach dhuitse agus dhomhsa :
12 Neach a chuir mi air ais : uime
sin gabhsa ris mar ri m' innigh féin.
13 Neach bu mhiann leam a
chumail maille rium féin, chum gu'n
deanadh e fritheaeadh dhomh ann ad
ionadsa, ann an geimhlibh an t-soi-
sgeil.
14 Ach as eugmhais t'inntinnse
cha bu toil leam ni sam bith a dhean-
amh ; chum nach biodh do mhaithse
mar gu b'ann a dh'aindeoin, ach o d'
thoil féin.
15 Oir theagamh gur ann air a
shon so a dh'fhag e thu[a] rè tamuill,
chum gu'm faigheadh tu e gu siorr-
uidh ;
16 Cha'n ann a so suas mar sheirbh-
íseach, ach os ceann seirbhisich, 'na
bhràthair gràdhach, gu h-àraid
dhomhsa, agus nach mò na sin dhuitse,
araon anns an fheòil, agus anns an
Tighearn ?
17 Uime sin ma mheasas tu mise
mar fhear comh-[illegible]
mar rium féin.
18 Agus ma [illegible] eucoir ort, no
ma dhligheas e[b] [illegible],
cuir sin as mo le[illegible]
19 Scrìobh m[illegible]
féin *e*, *agus* dìol[illegible]
abram riut, gu'[illegible]
féin os bàrr dhom[illegible]
20 Seadh, a [illegible]
gairdeachas uait san Tighearn : dean
suaimhneach mo chridhe san Tigh-
earn.
21 Air dhomh bhi earbsach a
d'ùmhlachd scrìobh mi a t'ionnsuidh,
oir tha fhios agam gu'n dean thusa
mar an ceudna ni's mò na a deiream.
22 Ach maille ri so ulluich mar an
ceudna fardoch fa m' chomhair : oir
tha dòchas agam, trid bhur n-ùrnuigh-
eansa, gu'n tiubhrar[c] mi dhuibh.
23 Tha Epaphras mo chomh-
phriosunach ann an Iosa Criosd,
24 Marcus, Aristarchus, Demas,
Lucas, mo chomh-luchd-oibre, a' cur
fàilte ort.
25 Gràs ar Tighearna Iosa Criosd
gu robh maille ri 'r spioradsa. Amen.

Litir an Abstoil PHOIL chum nan EABHRUIDHEACH.

CAIB. I.

1 *Tha Criosd a thainig o'n Athair
anns na h-àmaibh deireannach so,*
4 *ni's mò na na t-aingil, faraon
thaobh a phearsaidh agus a dhreachd.*

DIA, a labhair o shean[d] gu
minic, agus air iomadh dòigh
ris na h-aith[illegible] leis na fàidhibh,
2 Labhair e [illegible] anns na [illegible]
deireannach so [illegible]
do'n [illegible] air na
h-uile nithibh, tre'n do chruthaich
e fòs na saoghail.
3 Neach air bhi dha 'na dheal-
radh *a* ghlòire-san, agus 'na fhìor
iomhaigh[e] a phearsaidh, agus a'
cumail suas nan uile nithe le focal a
chumhachd, 'nuair a ghlan e ar peac-
aidhne do thrid féin, shuidh e air
deas làimh na mòrachd anns na
h-àrdaibh ;
4 *Air* dha bhi air a dheanamh ni's

[a] *a dhealrichadh e* [illegible] [b] [illegible] *am fiachaibh.* [c] *deònaichear, tiodhlaicear.* [d] *anns na h-aimsiribh a chaidh seachad.* [e] *dhealbh, riochd.*

ro òirdheirce na na h-aingil, mheud gu'n d'fhuair e[f] mar oighreachd ainm bu ro fhearr na iadsan.

5 Oir cò do na h-aingil ris an dubhairt e uair air bith, Is tu mo Mhacsa, an diugh ghin mi thu? agus a rìs, Bithidh mise a'm' Athair dhasan, agus bithidh esan 'na Mhac dhomhsa?

6 Agus a rìs, 'nuair a tha e a tabhairt a' cheud-ghin a steach do'n t-saoghal, a deir e, Agus deanadh uile aingil Dé aoradh dha.

7 Agus a thaobh nan aingeal a deir e, Neach a ta deanamh aingle 'nan spioradaibh[g], agus a mhinisteirean nan lasair theine.

8 Ach ris a Mhac *a deir e*, Tha do rìgh-chaithir, a Dhé, gu saoghal nan saoghal; *is* slat-rìoghail ro chothromach slat do rìoghachdsa:

9 Ghràdhaich thu fìreantachd, agus thug thu fuath do aingidheachd; uime sin dh'ùng Dia, do Dhia-sa, thu le h-oladh aoibhneis os ceann do chompanacha.

10 Agus, Leag thusa, a Thighearn, bunaite na talmhainn air tùs; agus is iad na nèamha oibre do làmh.

11 Teirgidh iadsan, ach mairidh tusa: agus fàsaidh iad uile sean mar eudach;

12 Agus fillidh tu iad mar bhrat, agus caochlaidhear iad: ach is tusa an ti ceudna, agus cha'n fhàilnich do bhliadhnan.

13 Ach cò do na ainglibh ris an dubhairt e uair air bith, Suidh air mo dheas-làimh, gus an cuir mi do naimhde 'nan stòl-chos fuidh d'chosaibh?

14 Nach spiorada frithealaidh iad uile, air an cur a mach chum frithealaidh dhoibhsan a bhios 'nan oighreachaibh air slàinte?

C A I B. II.

4 *Is còir dhuinn bhi ùmhal do Chriosd,* 5 *agus sin do bhrigh gu'n d'aontaich e ar nàdur-ne a ghabhail air féin,* 14 *mar a bha sin feumail.*

UIME sin is còir dhuinn an ro thuilleadh aire a thoirt do na nithibh a chuala sinn, air eagal uair sam bith gu'n leigeamaid ruith leo.

2 Oir ma bha am focal a labhradh le h-ainglibh seasmhach, agus gu'n d'fhuair gach uile bhriseadh agus easumhlachd dìol-thuarasdal dligheach;

3 Cionnus a théid sinne as, ma ni sinn dìmeas air slàinte co mòr, a thòisich an tùs air bhi air a labhairt leis an Tighearn, *agus* a rinneadh dearbhta dhuinne leosan a chual *e*;

4 Air bhi do Dhia a' deanamh comh-fhianuis leo, araon le comharaibh agus le h-iongantasaibh, agus le feartaibh eagsamhla[h], agus le tiodhlacaibh an Spioraid naoimh, a réir a thoile féin?

5 Oir cha do chuir e fuidh cheannsal nan aingeal an saoghail ri teachd, mu'm bheil sinn a labhairt.

6 Ach rinn neach fianuis ann an ionad àraidh, ag ràdh, Ciod e an duine gu'n cuimhnicheadh tu air? no mac an duine gu'm fiosraicheadh tu e?

7 Rinn thu e rè tamuill bhig ni's ìsle na na h-aingil; chrùn thu e le glòir agus *le h*-onoir, agus chuir thu e os cean oibre do làmh.

8 Chuir thu na h-uile nithe sìos fuidh a chosaibh. Oir ann an cur nan uile nithe fuidhe dha, cha d'fhàg e ni air bith gun chur fuidhe. Ach a nis cha 'n'eil sinn a' faicinn nan uile nithe fathast air an cur fuidh a cheannsal.

9 Ach chi sinn Iosa, a rinneadh rè ùine bhig ni b'ìsle na na h-aingil, chum tre ghràs Dé gu'm blaiseadh e bàs air son gach uile dhuine, tre fhulang a' bhàis air a chrùnadh le glòir agus *le h*-onoir.

10 Oir b'iomchuidh dhasan, air son *am bheil* na h-uile nithe, agus tre'*m bheil* na h-uile nithe, ann an tabhairt mhòrain mhac chum glòire, ceannard an slàinte a dheanamh foirfe tre fhulangasaibh.

11 Oir *a ta* araon an ti a naomhaichea agus iadsan a naomhaichear, uile o aon: air an aobhar sin cha nàr leis bràithrean a ghairm diubh,

[f] *uiread ni's fearr na na h-aingil as a fhuair e.* [g] *a theachdoirean 'nan gaothaibh.* [h] *iomadh-ghnèitheach.*

12 Ag ràdh, Cuiridh mi t-ainm an cèill do m' bhràithribh, ann am meadhon na h-eaglais seinnidh mi cliu dhuit.

13 Agus a ris, Cuiridh mi mo dhòchas ann. Agus a ris, Feuch mise, agus a' chlann a thug Dia dhomh.

14 Uime sin, mheud gu bheil aig a' chloinn comh-roinn do fheòil agus do fhuil, ghabh esan mar an ceudna roinn diubh sin: chum tre'n bhàs gu'n claoidheadh e esan, aig am bheil cumhachd a' bhàis, 'se sin, an diabhol;

15 Agus gu'n saoradh e iadsan a bha trid eagail a' bhàis rè am beatha uile fuidh dhaorsa.

16 Oir gu deimhin cha do ghabh e *nàdur* nan aingeal air i; ach ghabh e sìol Abrahaim *air*.

17 Uime sin b'fheumail da anns na h-uile nithibh bhi *air a dheanamh* cosmhuil r'a bhràithribh; chum gu'm biodh e 'na àrd shagart tròcaireach agus dìleas ann an nithibh a thaobh Dhé, chum réite dheanamh air son pheacanna an t-sluaigh:

18 Oir a mheud gu'n d'fhuiling e féin, air dha bhi air a bhuaireadh, is comasach e air cabhair a dheanamh orrasan a ta air am buaireadh.

C A I B. III.

1 *Is mò Criosd na Maois: 7 uime sin mar creid sinn annsan, bithidh sinn ni's toilltean aich air dioghaltas na Israel cruaidh-chridheach.*

UIME sin, a bhràithre naomha, *a ta* 'nar luchd-comh-pairt do'n ghairm neamhaidh, thugaibh fainear Iosa Criosd, abstol agus àrd shagart ar n-aidmheil;

2 A bha dìleas dhasan a dh'orduich e, amhuil a bha Maois mar an ceudna 'na thighsan uile.

3 Oir mheasadh gu'n b'fhiu an [illegible] glòir bu mhò na [illegible] mheud gu [illegible] [illegible] [illegible] féin.

4 Oir [illegible]

5 Agus gu deimhin *bha* Maois dìleas 'na thighsan uile mar sheirbhiseach, chum fianuis air na nithibh sin a bha gu bhi air an labhairt an déigh sin;

6 Ach Criosd mar Mhac os ceann a thighe féin; agus is sinne a thighsan, ma chumas sinn dànachd, agus gairdeachas an dòchais, gu daingean gus a' chrìoch.

7 Uime sin mar a deir an Spiorad naomha, An diugh, ma chluinneas sibh a ghuth,

8 Na cruaidhichibh bhur cridhe, mar anns a' bhrosnachadh, ann an latha a' bhuairidh san fhàsach:

9 Far an do bhuair bhur n-aithriche mi, *agus* a dhearbh iad mi, agus a chunnaic iad m'oibre rè dha fhichead bliadhna.

10 Uime sin bha diom orm ris a' ghinealach sin, agus thubhairt mi Tha iad a ghnàth air seacharan 'nan cridhe; agus cha do ghabh iad eolas air mo shlighibhse.

11 Ionnas gu'n d'thug mi mo mhionnan a'm fheirg, Nach d'théid iad a steach do m' shuaimhneas.

12 Thugaibh an aire, a bhràithre, air eagal gu'm bi ann an aon neach agaibh droch cridhe mi-chreidimh, anns an Dia bheo a thréigsinn.

13 Ach earailichibh a chéile gach aon là, am feadh a ghoirear An latha 'n diugh dheth; air eagal gu'n cruaidhichear neach air bith agaibh tre mhealltoireachd a' pheacaidh.

14 Oir rinneadh sinne 'nar luchd-comh-pairt do Chriosd, ma chumas sinn toiseach ar muinghin gu daingean gus a' chrìoch;

15 Am feadh *a* deirear, An diugh, ma chluinneas sibh a ghuth, na cruaidhichibh bhur cridhe, mar anns a' bhrosnachadh.

16 Oir air do dhream àraidh cluinntinn, bhrosnaich iad: ach ni'm b'iadsan uile a thainig a mach as an Eiphit le Maois.

17 Ach cò ris a bha diom air [illegible] dha fhichead bliadhna, *nach* [illegible] iadsan a pheacaich, muinntir [illegible] an coluinnean anns an fhàsach?

[illegible] *na h-ainglibh,*

18 Agus cò iad d'an d'thug e a
mhionnan nach rachadh iad a steach
d'a shuaimhneas[l], ach dhiobhsan
nach do chreid[m]?
19 Mar so chi sinn nach b'urrainn
iad dol a steach air son mi chreidimh.

C A I B. IV.

1 *Tha fois nan Criosduidh air a
faghail tre chreidimh. 12 Cumh-
achd focail Dé. 14 Trid ar n-àrd
shagairt Iosa Mic Dhé, a bha fuidh
thrioblaidibh, ach saor o pheacadh,
16 is còir dhuinn, agus feudaidh sinn
dol gu dàna chum caithir nan gràs.*

UIME sin biodh faitcheas[n] oirnn,
air eagal air bhi do gheallaidh
dol a steach d'a shuaimhneas air
fhâgail *againn*, gu'n d'thigeadh aon
neach agaibh[o] a dhéidh-làimh air.
2 Oir shearmonaicheadh an soi-
sgeul duinne, amhuil *a rinneadh*
dhiobhsan: ach cha robh tairbhe
dhoibh anns an fhocal a chaidh
shearmonachadh, do bhrigh nach
robh e air a mheasgadh le creidimh
anns an droing a chual e.
3 Oir tha sinne a chreid a' dol a
steach do shuaimhneas, amhuil a
thubhairt e, Mar a thug mi mo
mhionnan a'm' fheirg, Nach d'théid
iad a steach do m' shuaimhneas: ge
do bha na h-oibre criochnaichte o
thoiseach an t-saoghail.
4 Oir labhair e ann an ionad àraidh
mu'n t-seachdamh *là* air an dòigh
so, Agus ghabh Dia fois air an
t-seachdamh là o oibribh uile.
5 Agus anns an *ionad* so a rìs,
Ni'n d'théid iad a steach, do m'
shuaimhneas.
6 Do bhrigh uime sin gu'n tuig-
ear uaith so gu'n d'théid dream
àraidh a steach ann, agus nach
deachaidh an dream d'an do shear-
monaicheadh e air tùs, a steach air
son am mi-chreidimh;
7 A rìs, tha e suidheachadh là
àraidh, ag ràdh ann an Daibhidh, An
diugh, an déigh aimsir co fhada;
mar a deirear, An diugh, ma chluinn-
eas sibh a ghuth, na cruaidhichibh
bhur cridhe.
8 Oir nam biodh Iosua[p] air toirt
suaimhneis dhoibh, cha labhradh e an
déigh sin mu là eile.
9 Uime sin dh'fhàgadh fois *fa
chomhair* sluaigh Dé.
10 Oir an tì a chaidh steach d'a
shuaimhneas-san, ghabh esan tamh o
oibribhsan, amhuil *a ghabh* Dia o
oibribh féin.
11 Deanamaid dìchioll uime sin
air dol a steach do'n t-suaimhneas sin,
air eagal gu'n tuit aon neach a réir
eisempleir cheudna a'mhi-chreidimh[r].
12 Oir *tha* focal Dé beo agus
cumhachdach, agus ni's géire na
claidheamh dà-fhaobhair air bith, a'
ruigheachd eadhon chum eadar-sgar-
aidh an anama agus an spioraid, agus
nan alt agus nan smear, agus a' toirt
breth air smuaintibh agus rùnaibh[s]
a' chridhe.
13 Agus cha 'n'eil creutair sam
bith nach 'eil follaiseach 'na làthair-
san: ach *a ta* na h-uile nithe lom-
nochd, agus fosgailte do shùilibh an tì
d'am feum sinn cunntas a thabhairt[t].
14 Do bhrigh uime sin gu bheil
againn àrd shagart mòr, a chaidh a
steach do na nèamhaibh, Iosa Mac
Dhé, cumamaid gu daingean *ar*
n-aidmheil.
15 Oir cha 'n'eil àrd shagart
againn nach 'eil comasach air comh-
fhulangas a bhi aige r'ar n-anmhuinn-
eachdaibh; ach a bhuaireadh sna
h-uile nithibh air an dòigh cheudna
ruinne, *ach* as eugmhais peacaidh.
16 Thigeamaid uime sin le dànachd
gu rìgh-chaithir nan gràs, chum gu
faigh sinn tròcair, agus gu'n amais
sinn air gràs chum cabhair ann an àm
feuma.

C A I B. V.

1 *Ughdarras agus onoir sagartachd
ar Slanuighir: 11 mairnealachd
'nan eolas air a chronachadh.*

OIR tha gach uile àrd shagart,
air a thoirt o mheasg dhaoine,
air orduchadh air son dhaoine ann an
nithibh a thaobh Dhé, chum gu'n
toir e suas araon tiodhlacan agus
ìobairtean air son pheacanna:

[l] *fhois.* [m] *a bha easumhal.* [n] *eagal.* [o] *dhinn.* [p] *Iosa.* [r] *easumhlachda.*
[s] *breithneachaibh.* [t] *ris am bheil ar gnothuchne.* [u] *gu'm faigh sinn.*

2 Neach a ta comasach air truas a ghabhail ris an droing a ta aineolach, agus air seacharan; do bhrigh gu bheil e féin mar an ceudna air a chuartachadh le h-anmhuinneachd:

3 Agus air a shon so, is còir dha iobradh air son peacaidh, mar as leth an t-sluaigh, is amhuil sin as a leth féin mar an ceudna.

4 Agus cha ghabh aon duine an onoir so dha féin, ach an ti a ta air a ghairm o Dhia, mar *bha* Aaron:

5 Is amhuil sin, cha do ghlòraich Criosd e féin, gu bhi air a dheanamh 'na àrd shagart; ach an ti a thubhairt ris, Is tu mo Mhac, an diugh ghin mi thu.

6 A réir mar a deir e mar an ceudna ann an *ionad* eile, *Is* sagart *thu* gu siorruidh a réir orduigh [a] Melchisedeic.

7 Neach ann an làithibh fheòla, an déigh dha ùrnuighean agus athchuingean, maille ri h-àrd éighich agus deuraibh, iobradh suas do'n ti a bha comasach air a shaoradh o'n bhàs, agus dh'éisdeadh ris thaobh an ni roimh an robh eagal air [b].

8 Ge bu Mhac e, dh'fhoghluim e ùmhlachd o na nithibh a dh'fhuiling e:

9 Agus air dha bhi air a dheanamh foirfe, rinneadh e 'na ùghdar slàinte shiorruidh dhoibhsan uile a bhios ùmhal dha;

10 Air a ghairm le Dia 'na àrd shagart, a réir orduigh Mhelchisedeic.

11 Mu'm bheil mòran againn r'a labhairt, agus cruaidh r'am mìneachadh; do bhrigh gu bheil sibh mall 'nar n-éisdeachd.

12 Oir ge d' bu chòir dhuibh a réir na h-aimsir bhi 'nar luchd-teagaisg, tha feum agaibh gu'n teagaisgeadh neach dhuibh a rìs ciod iad ceud-thoiseacha bhriathar [c] Dhé: agus tha sibh air [illegible] h-[illegible] sin, gu'r [illegible] d[illegible] laidir.

13 [illegible]
a[illegible]
a[illegible]: oir is
n[illegible] e.

14 Ach is ann do dhaoinibh foirfe a bhuineas biadh laidir, aig am bheil an ceudfaidh, tre ghnàthachadh fada, air an cleachdadh ri eadar-dhealachadh chur eadar maith agus olc.

CAIB. VI.

1 Tha e cur impidh orra, gun iad a thuiteam air an ais o'n chreidimh; 11 ach bhi seasmhach, 12 dichiollach, agus feitheamh gu foighidneach ri Dia, 13 do bhrigh gu bheil esan ro-fhìor agus cinnteach 'na ghealladh.

UIME sin air fàgail duinn ceud-thoiseacha teagaisg Chriosd, rachamaid air ar n-aghaidh chum foirfeachd; gun bhi ris a' suidheachadh bunaite aithreachais o oibribh marbha, agus creidimh thaobh Dhé,

2 *Bunaite* teagaisg nam baisde, agus leagaidh nan làmh, agus aiseirigh nam marbh, agus breitheanais shiorruidh.

3 Agus ni sinn so, ma cheadaicheas Dia.

4 Oir *is* eucomasach an droing sin a chaidh aon uair a shoillseachadh, agus a bhlais an tiodhlac nèamhaidh, agus a rinneadh 'nan luchd-comhpairt do'n Spiorad naomh,

5 Agus a bhlais deadh fhocal Dé, agus cumhachdan an t-saoghail ri teachd [c],

6 Agus a thuit air falbh, athnuadhachadh chum aithreachais: do bhrigh gu bheil iad a' ceusadh Mhic Dhé a rìs dhoibh féin, agus 'ga chur gu nàire fhollaisich [f].

7 Oir an talamh a dh'òlas a steach an t-uisge a tha teachd gu minic air, agus a bheir uaith luibheanna iomchuidh do'n droing leis an saothraichear e, gheibh e beannachadh o Dhia:

8 Ach an talamh sin a bheir uaith droighionn agus drisean, *tha* e air a chur air cùl, agus fagus do mhallachadh; d'an deireadh bhi air a loscadh.

9 Ach is dearbh leinn nithe a's fearr mu'r timchiollsa, a mhuinntir ionmhuinn, agus nithe a tha dlùth

[a] *comain.* [b] [illegible] [c] *oracla.* [d] *neo-iùlmhar.*
[e] [illegible] *ball-magaidh dheth.*

do shlàinte, ge do tha sinn a' labhairt mar so.

10 Oir cha 'n'eil Dia mi-chothromach. gu'n di-chuimhnicheadh e obair agus saothair bhur gràidh, a nochd sibh a thaobh ainmesan, am feadh gu'n d'rinn sibh frithealadh do na naomhaibh, agus gu bheil sibh a' frithealadh.

11 Agus is miann leinne gu'n dean gach aon agaibh an dùrachd ceudna a nochdadh, chum làn-dearbhaidh an dòchais gus a' chrìoch:

12 Chum nach bi sibh leasg, ach 'nar luchd-leanmhuinn orrasan, a tha tre chreidimh agus fhoighidin a' sealbhachadh nan geallanna.

13 Oir an uair a thug Dia gealladh do Abraham, do bhrigh nach feudadh e mionnan a thoirt air neach bu mhò, thug e mionnan air féin.

14 Ag ràdh, Gu firinneach, beannuichidh mi gu mòr thu[g], agus ni mi ro lìonmhor thu.

15 Agus mar sin an déigh dhasan feitheamh gu foighidneach, fhuair e sealbh air a' ghealladh.

16 Oir gu deimhin bheir daoine mionnan air an neach a's mò: agus dhoibhsan is crìoch air gach uile chonnsachadh mionnan chum daingneachaidh.

17 Uime sin air bhi do Dhia toileach air neo-chaochluidheachd a chomhairle fheuchainn ni's pailte do oighreachaibh a' ghealladh, dhearbh e le mionnaibh *e*:

18 Chum tre dhà ni neo-chaochluidheach, anns an *robh e* eucomasach gu'n deanadh Dia breug, gu'm biodh againne comhfhurtachd làidir, a theich chum didein gu greim a dheanamh air an dòchas a chuireadh romhainn:

19 Ni a tha againn mar acair an anama, araon cinnteach agus daingean, agus a théid a steach do'n ionad sin a ta'n taobh stigh do'n bhrat-roinn,

20 Far an deachaidh an roimh-ruith-fhear a steach air ar soinne, *eadhon* Iosa, a rinneadh 'na àrd-shagart gu siorruidh a réir orduigh Mhelchisedeic.

C A I B. VII.

1 *Is sagart Iosa Criosd a réir orduigh Mhelchisedeic; 11 agus mar sin ni's ro òirdheirce na na sagairt a tha do ordugh Aaroin.*

OIR b'e am Melchisedic so righ Shaleim, sagart an Dé a's ro àirde, neach a choinnich Abraham a' pilltinn o àr[h] nan righ, agus a bheannuich e;

2 D'an d'thug Abraham eadhon deachamh do'n uile: neach a's e air tùs, air na eadar-theangachadh, righ na fìreantachd, agus 'na dhéigh sin mar an ceudna, righ Shaleim, 'se sin, righ na sìth;

3 Gun athair, gun mhàthair, gun sinnsireachd, gun toiseach laithean, gun deireadh beatha aige; ach air a dheanamh cosmhuil ri Mac Dhé, tha e fantuinn 'na shagart gu siorruidh[i].

4 A nis thugaibh an aire cia mòr an duine so, d'an d'thug eadhon am prìomh-athair[l] Abraham an deachamh do'n chreich.

5 Agus gu deimhin iadsan do chloinn Lebhi, a tha faotainn na sagartachd, tha àithne aca deachamh a thogail o'n t-sluagh a réir an lagha, sin r'a ràdh, o'm bràithribh féin, ge do thainig iad a mach a leasraidh Abrahaim?:

6 Ach an ti nach 'eil air a shloinneadh uatha-san, fhuair e deachamh o Abraham, agus bheannuich se esan aig an robh na geallanna.

7 Agus gun agadh sam bith, beannuichear an ti a's lugha leis an ti a's fearr.

8 Agus an so tha daoine a gheibh bàs a' faotainn deachaimh: ach an sin an ti aig am bheil fianuis gu bheil e beo.

9 Agus mar a dh'fheudas mi ràdh, fhuaradh ann an Abraham deachamh o Lebhi féin, a thogas an deachamh:

10 Oir bha e fathast ann an leasraidh athar, an uair a choinnich Melchisedec e.

11 A nis nan d'thigeadh foirfeachd tre shagartachd nan Lebhitheach (oir

g *a' beannachadh beannuichidh mi thu.* Gr. h *mharbhadh.* i *a ghnàth, rè a bheatha.* l *àrd-athair.*

is ann r'a [illegible]n a thugadh an lagh do'n t-sluagh) ciod am feum a bha air sagart eile éirigh a réir orduigh Mhelchisedeic, agus nach biodh e air a ghairm a réir orduigh Araoin?

12 Oir air do'n t-sagartachd bhi air a h-atharrachadh, is éigin an lagh bhi air atharrachadh mar an ceudna.

13 Oir an ti air an labhrar na nithe sin, buinidh e do threibh eile, do nach d'rinn aon neach frithealadh aig an altair.

14 Oir *is* soilleir gur ann o Iuda dh'éirich ar Tighearn, treubh air nach do labhair Maois ni air bith thaobh sagartachd.

15 Agus tha e fathast ni's ro-shoillseire, am feadh gu'n d'éirich sagart eile a réir coslais Mhelchisedeic,

16 A' rinneadh *'na shagart*, cha'n ann a réir lagha aithne fheòlmhoir, ach a réir cumhachd beatha gun chrioch.

17 Oir tha e deanamh fianuis, Gur sagart thu gach linn a réir orduigh Mhelchisedeic.

18 Oir gu deimhin tha an àithne roimhe air a cur air cùl, air son i bhi anmhunn agus neo-tharbhach.

19 Oir cha d'rinn an lagh ni sam bith foirfe, ach *rinn* toirt a steach dòchuis a's fearr e; tre'm bheil sinn a' teachd am fagus do Dhia.

20 Agus a mheud nach *d'rinneadh sagart deth* gun mhionnaibh,

21 (Oir rinneadh sagarta dhiubhsan as eugmhais mhionnan: ach dhethsan le mionnaibh, tre'n ti a thubhairt ris, Mhionnaich an Tighearn, agus cha ghabh e aithreachas, *Is* sagart thu gu siorruidh, a rèir orduigh Mhelchisedeic.)

22 Is co mòr as sin a rinneadh Iosa 'na urras air coimh-cheangal a's fearr.

23 Agus bha gu deimhin mòran diubhsan 'nan sagartaibh, do bhrigh gu'n do bhacadh dhoibh leis a' bhàs bhi mairsinn.

24 Ach [illegible] so, do bhrigh gu'n mair e gu siorruidh, tha sagartachd neo-chaochlaideach aige.

25 Air an aobhar sin tha e mar an ceudna comasach air an dream [illegible] a dh'ionnsuidh Dhé trìdsan a shlànuchadh gu h-iomlan[n], do bhrigh gu bheil e beo gu siorruidh gu eadarghuidhe dheanamh air an son.

26 Oir bha shamhuil sin do àrd shagart iomchuidh dhuinne, *a bha* naomha, neo-lochdach, neo-thruaillidh, air a dhealachadh[o] o pheacachaibh, agus a rinneadh ni's airde na na neamha;

27 Nach feum gach là mar na h-àrd shagairt ud iobairtean thoirt suas, air tùs air son a pheacanna féin, agus an déigh sin air son *pheacanna* an t-sluaigh: oir rinn e so aon uair, san am a thug se e féin mar iobairt.

28 Oir tha an lagh a' deanamh àrd shagairta do dhaoinibh aig am bheil anmhainneachd; ach focal nam mionnan a bha an déigh an lagha, *a' deanamh àrd shagairt* do'n Mhac, a tha air a dheanamh iomlan[p] gu siorruidh.

CAIB. VIII.

1 *Le sagartachd shiorruidh Chriosd tha sagartachd Lebhitheach Araoin air a cur air cùl: 7 agus an coimhcheangal aimsireil a rinneadh ris na sinnsiribh, le coimh-cheangal siorruidh an t-soisgeil.*

A NIS *is e so* suim nan nithe a labhair sinn: Tha shamhuil sin do àrd shagart againn, a tha air suidhe air deis righ-chaithreach na mòrachd anns na neamhaibh;

2 Ministeir nan ionad naomh, agus an fhior phailliuin, a shuidhich an Tighearn, agus cha bu duine.

3 Oir tha gach uile àrd shagart air orduchadh chum tiodhlacan agus iobairtean a thabhairt suas: uime sin b'éigin gu'm biodh aig an duine so mar an ceudna ni-eigin r'a thabhairt suas.

4 Oir nam biodh e air thalamh, cha bhiodh e 'na shagart, do bhrigh gu bheil sagairt ann a tha tabhairt suas thiodhlaice a réir an lagha:

5 [illegible] muintir a tha deanamh seirbhis [illegible] lachas agus sgàile nan nithe neamhaidh, a réir mar a dh'orduich-

[n] [illegible] [illegible] gu siorruidh. [o] air a sgaradh.
[p] air a choimh-lionadh.

eadh do Mhaois le Dia 'nuair a bha e air tòiseachadh a' phàilliun a chur suas. Oir feuch (a deir e) gu'n dean thu na h-uile nithe réir an t-sùmpleir a nochdadh dhuit san t-sliabh.

6 Ach a nis fhuair e ministreil-eachd a's ro-fhearr, a mheud gu bheil e mar an ceudna 'na eadar-mheadhonair air coimh-cheangal a's fearr, a chaidh dhaingneachadh air geallaibh a's fearr.

7 Oir nam biodh an ceud choimh-cheangal sin gun uireasbhuidh[r]; cha'n iarrtadh àit do'n dara coimh-cheangal.

8 Oir a' faotainn croin doibh, a deir e, Feuch thig na làithean, (a deir an Tighearn,) anns an dean mi coimh-cheangal nuadh ri tigh Israeil, agus ri tigh Iuda:

9 Cha'n ann a réir a' choimh-cheangail a rinn mi r'an aithrichibh anns an là a rug mi air làimh orra chum an treòrachadh a mach a tal-amh na h-Eiphit; do bhrigh nach d'fhan iad ann am choimh-cheangal; agus chuir mise suarach iadsan, a deir an Tighearn.

10 Oir is e so an coimh-cheang-al a ni mi ri tigh Israeil an déigh nan là ud, a deir an Tighearn; Cuir-idh mi mo reachda 'nan inntinn, agus sgrìobhaidh mi iad air an cridhibh: agus bithidh mi a'm' Dhia dhoibh, agus bithidh iadsan 'nan sluagh dhomhsa.

11 Agus cha teagaisg iad gach aon a choimhearsnach, agus gach aon a bhrathair, ag ràdh, Gabh eòlas air an Tighearn: oir bithidh eòlas aca uile orm, o'n neach a's lugha gus an neach a's mò dhiubh.

12 Oir bithidh mise tròcaireach d'an euceartaibh, agus am peacanna agus an aingidheachd cha chuimh-nich mi ni's mò.

13 Am feadh a deir e, Coimh-cheangal nuadh, rinn e'n ceud choimh-cheangal sean. A nis an ni a ta aosda agus air fàs sean, tha e fagus do dhol as an t-sealladh.

CAIB. IX.

1 *Tha a mhineachadh nan iobairt fuidh'n lagh, agus gach gnàthach-aidh a bha nan cuideachd; 11 tha iad gu mòr thaobh feobhais goirrid air fuil agus iobairt Chriosd.*

BHA ma seadh gu dearbh aig a' cheud phàilliun orduighean[t] a thaobh seirbhis Dé, agus naomh-ion-ad saoghalta.

2 Oir dheasaicheadh an ceud phàilliun, anns an robh an coinnleir, agus am bord, agus aran na fianuis ris an abrar *an t-ionad* naomha.

3 Agus an taobh a stigh do'n dara roinn-bhrat, am pàilliun d'an goirear an t-ionad a's ro naomha:

4 Anns an robh an tùiseir òir, agus àirc a' choimh-cheangail air a comhdachadh[t] mu'n cuairt le h-òr, anns an robh a' phoit òir anns an robh am mana, agus slat Aaroin a bha fuidh bhlàth, agus clàir a' choimh-cheangail;

5 Agus os a ceann, cheruban na glòire, a' cur sgàile air caithir na tròcair; mu nach urradh sinn a nis labhairt fa leth.

6 A nis an uair a bha na nithe so air an cur an ordugh mar so, chaidh na sagairt a ghnàth a steach do'n cheud phàilliun, a' coimhlionadh seirbhis Dé:

7 Ach do'n dara phàilliun *chaidh* an t-àrd shagart 'na aonar *a steach* aon uair sa' bhliadhna, cha b'ann as eugmhais fola, a thug e suas air a shon féin, agus *air son* seacharain an t-sluaigh.

8 Air bhi do'n Spiorad naomh a' nochdadh so, nach robh fathast an t-slighe chum an ionaid bu ro-naomha air a foillseachadh, am feadh a bha an ceud phàilliun fathast 'na sheasamh:

9 Ni a bha 'na shamhladh do'n aimsir a ta làthair, anns an robh ar-aon tiodhlacan agus iobairtean air an toirt suas, nach robh comasach air an ti a bha deanamh na seirbhis sin a dheanamh coimhlionta, thaobh a choguis,

10 *An t-seirbhis* a bha mhàin ann am biadhaibh agus ann an deoch-aibh, agus ann an ionnladh gnè ionn-laid, agus deas-ghnathachaibh a thaobh na feòla, chuireadh mar uallaich orra gu àm an leasachaidh.

[r] lochd, chron. [s] reachdan. [t] lach.

11 Ach air teachd do Chriosd 'na àrd shagart nan nithe maithe a bha ri teachd, tre phàilliun bu mhò agus bu dìongmhalta, nach d'rinneadh le làmhaibh, sin r'a radh, nach robh do'n togail so;

12 Agus cha b'ann tre fhuil ghabhar agus laogh, ach tre fhuil féin a chaidh e steach aon uair do'n ionad naomha, air dha saorsa shiorruidh fhaotainn *dhuinne*.

13 Oir ma ni fuil tharbh, agus ghabhar, agus luaithre aighe air a crathadh air an droing a bha neoghlan, an naomhachadh chum glanaidh na feòla;

14 Cia mòr is mò ni fuil Chriosd, a thug e féin suas tre'n Spioraid shiorruidh[a] gun lochd do Dhia, bhur coguis-se ghlanadh o oibribh marbha chum seirbhis a dheanamh do'n *Dia* bheo?

15 Agus air a shon so is esan eadar-mheadhonair an tiomnaidh nuaidh[a], ionnas tre fhulangas a' bhàis, chum saorsa[b] nan euceart *a bha* fuidh'n cheud thiomnadh *a chosnadh*, gu'm faigheadh iadsan a ta air an gairm gealladh na h-oighreachd shiorruidh.

16 Oir far am bheil tiomnadh, is éigin bàs an tiomnaidh-*fhir* a bhi ann mar an ceudna.

17 Oir a ta tiomnadh daingean an déigh bàis dhaoine; ach cha 'n'eil brigh sam bith ann am feadh 's a ta'n tiomnaidh-fhear beo.

18 A réir sin, ni mò bha'n ceud *thiomnadh* air a choisreagadh[c] as eugmhais fola.

19 Oir an uair a labhradh gach uile àithne réir an lagha ris an t-sluagh uile le Maois, air da fuil laogh agus ghabhar *a ghabhail*, maille ri [illegible] hisop, [illegible] ag[illegible]

20 Ag radh, [illegible] aidh [illegible]

21 [illegible] an [illegible] soithichibh na [illegible]

22 Agus is beag nach [illegible] nithe air an glanadh le fuil a réir an lagha; agus as eugmhais dòrtaidh fola cha 'n'eil maitheanas r'a fhaotainn.

23 B'fheumail uime sin gu'm biodh samhlaidh nan nithe a ta sna nèamhaibh air an glanadh leo so; ach na nithe nèamhaidh féin le iobairtibh a b'fhearr na iad so:

24 Oir cha deachaidh Criosd a steach do na h-ionadaibh naomha làmh-dheanta, nithe a's iad samhlachais nam fìor *ionad*; ach do nèamh féin, chum a nis e féin a nochdadh ann am fianuis Dé air ar soinne:

25 No fòs chum e féin iobradh gu minic, mar a théid an t-àrd shagart gach bliadhna steach do'n ionad naomha, le fuil nach leis féin.

26 (Oir mar sin b'fheumail e dh'fhulang gu minic o thoiseach an t-saoghail;) ach a nis dh'fhoillsicheadh e aon uair ann an deireadh an t-saoghail[f], chum peacadh a chur air cùl trid e féin iobradh.

27 Agus amhuil a ta e air orduchadh do dhaoinibh bàs fhaotainn aon uair, ach 'na dhéigh so breitheanas:

28 Mar sin thugadh Criosd suas aon uair a thoirt air falbh peacaidh mhòrain, ach an dara uair as eugmhais peacaidh foillsichear e dhoibhsan aig am bheil sùil ris, chum slàinte.

CAIB. X.

1 *Anmhuinneachd iobairtean an lagha.*
10 *Thug iobairt cuirp Chriosd a thugadh suas aon uair peacadh gu siorruidh air falbh.* 19 *Earail chum an creidimh a ghleidheadh gu daingean, le foighidin agus buidheachas.*

UIME sin air bhi aig an lagh sgàile nithe maithe ri teachd, *agus* cha'n e fìor-dhealbh nan nithe [illegible], ni'n comasach dha an droing a [illegible] d'a ionnsuidh a choidhich a [illegible] coimhlionta, leis na h-iobairtibh sin a bha iad a' toirt suas o [illegible] adhna gu bliadhna a ghnath.

2 Oir an sin nach sguireadh iad [illegible] bhi 'gan toirt suas? do bhrigh [illegible] biodh aig luchd deanamh na [illegible] nmh-sheirbhis tuilleadh coguis air

[a] [illegible] ail nuaidh. [b] fuasgladh. [c] air a [illegible] [illegible] aimh-cheangail. [f] nan linn.

bith peacaidh, air dhoibh bhi aon uair air an glanadh.

3 Ach anns na *h-iobairtibh* sin *nithear* ath-chuimhneachadh air na peacaibh gach bliadhna.

4 Oir cha 'n'eil e'n comas gu tugadh fuil tharbh agus ghabhar peacanna air falbh.

5 Uime sin ag teachd dha do'n t-saoghal, a deir e, Iobairt agus tabhartas ni'm b'àill leat, ach dh'ulluich thu corp dhomhsa:

6 Ann an ìobairtibh loisgte, agus ann an iobairtibh air son peacaidh cha robh tlachd agad:

7 An sin thubhairt mise, Feuch, tha mi a' teachd (ann an rola an leabhair tha sud scrìobhta orm) chum do thoilse a dheanamh, O Dhé.

8 Air dha a ràdh roimhe sin, Iobairt, agus tabhartas, agus ìobairte-loisgte, agus ìobairt air son peacaidh ni'm b'àill leat, agus ni robh do thlachd annta (a tha air an toirt suas a réir an lagha.)

9 An sin thubhairt e, Feuch, ataim a' teachd a dheanamh do thoilse, O Dhé. Tha e cur air cùl a' cheud ni, chum gu'n daingnich e an dara ni.

10 Leis an toil so tha sinne air ar naomhachadh, trìd toirt suas 'cuirp Iosa Criosd aon uair.

11 Agus tha gach uile shagart a' seasamh gach là, a' fritheadadh agus a' toirt suas nan ìobairt cheudna gu minic, nithe do nach 'eil e'n comas a choidhch peacanna thoirt air falbh:

12 Ach an duine so, an déigh dha aon ìobairt a thoirt suas air son peacaidh, shuidh e a choidhch tuilleadh air deas làimh Dhé;

13 A' feitheamh o sin suas gus an cuirear a naimhde 'nan stòl-chos fuidh chosaibh.

14 Oir le aon ìobairt rinn e choidhch foirfe iadsan a ta air an naomhachadh.

15 Agus tha an Spiorad naomh mar an ceudna a' deanamh fianuis duinne *air na nithibh so:* oir an déigh dha ràdh roimhe,

16 Is e so an coimh-cheangal a ni mi riu 'n déigh nan là ud, deir an Tighearn, Cuiridh mi mo reachdan 'nan cridhe, agus scriobhaidh mi iad air an inntinn:

17 [A deir e] agus am peacanna agus an eucearta cha chuimhnich mi ni's mò.

18 A nis, far am bheil maitheanas nan nithe so, cha 'n'eil tabhartas[g] air son peacaidh ann ni's mò.

19 Uime sin, a bhràithre, do bhrigh gu bheil dànachd againn chum dol a steach do'n ionad a's naomha tre fhuil Iosa,

20 Air slighe nuaidh agus bheo a choisrig e dhuinne, tre'n roinn-bhrat, sin r'a ràdh, tre fheòil féin.

21 Agus do bhrigh gu bheil againn àrd shagart os ceann tighe Dhé,

22 Thigeamaid am fagus le cridhe fìor, ann an làn dearbh-beachd a' chreidimh, le'r cridheachaibh air an crath-ghlanadh o dhroch coguis, agus le'r cuirp air an nigheadh le h-uisge glan.

23 Cumamaid gu daingean aidmheil ar dòchais gun chlaonadh, (oir is fìrinneach an ti a gheall.)

24 Agus thugamaid an aire d'a chéile chum ar brosnachadh gu gràdh, agus deagh oibribh:

25 Gun bhi leigeadh dhinn sinn féin a chruinneachadh an ceann a chéile, mar is gnàth le dream àraidh; ach a' comhairleachadh *chéile:* agus gu ma mòid *a ni sinn* so, gu bheil sibh a' faicinn an là a' tarruing am fagus.

26 Oir ma pheacaicheas sinn d'ar toil féin an déigh dhuinn eòlas na fìrinn fhaotainn, cha'n fhàgar tuilleadh dhuinn ìobairt air son peacaidh,

27 Ach dùil eagalach ri breitheanas, agus fearg theinnteach, a sgriosas na h-eascairdean.

28 An ti a rinn tàir air lagh Mhaois, bhàsaich e gun tròcair, fuidh dhithis no thriuir a dh'fhianuisibh:

29 Cia mòr is measa na sin am peanas a shaoileas sibh air am measar esan tòillteanach, a shaltair fuidh chosaibh Mac Dhé, agus a mheas mar ni mi-naomha fuil a' choimh-cheangail, leis an do naomhaicheadh e, agus a rinn tàir air Spiorad nan gràs?

30 Oir is aithne dhuinn an ti a thubhairt, *Is* leamsa an dìoghaltas,

g *ofrail, ìobairt.*

D

agus bheir mi dìoladh uam, deir an Tighearn: agus a rìs, Bheir an Tighearn breth air a shluagh.

31 *Is* ni eagalach tuiteam ann an làmhaibh an Dé bheo.

32 Ach biodh ath-chuimhne agaibh air na laithibh a chaidh seachad, anns an d'fhuiling sibh, an déigh dhuibh bhi air bhur soillseachadh, gleachda mòr fulangais [h];

33 Ann an cuid am feadh a rinneadh sibh 'nar ball-amhairc [i], araon tre mhaslaibh agus thrioblaidibh; agus ann an cuid, am feadh a rinneadh sibh 'nar companaich dhoibhsan ris an do bhuineadh mar sin.

34 Oir bha comh-fhulangas agaibh riumsa ann am gheimhlibh, agus ghabh sibh le loathghair ri creachadh bhur maoin, air dhuibh fios a bhi agaibh annaibh féin gu bheil agaibh air nèamh maoin a's fearr agus a ta maireannach.

35 Uime sin na tilgibh uaibh bhur muinghin, aig am bheil mòr dhiolthuarasdal.

36 Oir a ta feum agaibh air foighidin; chum an déigh dhuibh toil Dé a dheanamh, gu'm faigh sibh an gealladh.

37 Oir fathast sealan beag, agus an ti a ta ri teachd thig e, agus cha dean e moille.

38 A nis bithidh am fìrean beo tre chreidimh: ach ma philleas e air ais, cha bhi aig m'anamsa tlachd ann.

39 Ach cha 'n'eil sinne do'n dream sin a philleas air an ais chum sgrios; ach do'n dream a chreideas, chum slànuchaidh an anama.

CAIB. XI.

1 *Ciod is creidimh ann* [illegible] *duinn* [illegible] *Dé* [illegible] *h-aithr*[illegible]

A NIS is e creidimh brigh nan nithe ris am bheil dòchas, dearbhadh nan nithe nach faicear.

2 Oir is ann trid so a fhuair na sinnsir deadh theisteas.

3 Tre chreidimh tha sinn a' tuigsinn gu'n do chruthaicheadh na saoghail tre fhocal Dé, air chor as nach d'rinneadh na nithe a chithear do nithibh a bha r'am faicinn.

4 Tre chreidimh thug Abel suas do Dhia ìobairt ni b'fhearr na Cain, trid an d'thugadh teisteas dha gu'n robh e 'na fhìrean, air bhi do Dhia a' deanamh fianuis d'a thiodhlacaibh: agus tre sin, air dha bhi marbh, tha e fathast a' labhairt.

5 Tre chreidimh dh'atharraicheadh Enoch chum nach faiceadh e bàs; agus cha d'fhuaradh e, do bhrigh gu'n d'atharraich Dia e: oir roimh atharrachadh thugadh fianuis da, Gu'n do thaitinn e ri Dia.

6 Ach as eugmhais creidimh cha 'n'eil e'n comas a thoileachadh: oir is éigin do'n ti a thig a dh'ionnsuidh Dhé a chreidsinn gu bheil e ann, agus gur neach e a bheir duais do'n droing a dh'iarras e gu dìchiollach.

7 Tre chreidimh air do Noe rabhadh fhaotainn o Dhia mu thimchioll nithe nach robh idir r'am faicinn, agus eagal a ghabhail, dh'ulluich e àirc chum tearnaidh a theaghlaich; tre'n do dhìt e an saoghal, agus rinneadh e 'na oighre air an fhìreantachd a ta thaobh creidimh.

8 Tre chreidimh, 'nuair a ghairmeadh Abraham gu dol a mach do ionad a bha e gus fhaotainn an déigh sin mar oighreachd, fhreagair e; agus dh'imich e mach gun fhios a bhi aige c'àit an robh e dol.

9 Tre chreidimh bha e air chuairt ann an tìr a' gheallaidh, mar ann an tìr choimhich, a' gabhail còmhnuidh ann am pàilliunaibh maille ri h-Isaac agus Iacob, comh-oighreachan a' gheallaidh cheudna.

10 Oir bha sùil aige ri baile le bunaitibh air am *bheil* Dia 'na fhear-tionnsgnaidh agus 'na fhear-togail.

11 Tre chreidimh mar an ceudna fhuair Sara féin neart gu sliochd a ghabhail 'na broinn, agus rug i leanabh an déigh dh'i dol thar aois *cloinne*, do bhrigh gu'n do mheas i gu'n robh esan fìrinneach a thug an gealladh.

12 Uime sin ghineadh o aon a mhàin, agus esan ionann agus marbh,

h *cath mòr amhghair*. i *ball-àbhacais*.

sliochd mar reulta nèimhe thaobh lìonmhoireachd, agus mar a' ghaineamh air tràigh na fairge do-àireamh.

13 Fhuair iad so uile bàs ann an creidimh, gun na gealanna[l] fhaotainn, ach air dhoibh am faicinn fad o làimh, (agus an creidsinn,) ghabh iad riu, agus dh'aidich iad gu'm bu choigrich agus luchd-cuairt air an talamh iad féin.

14 Oir an droing a deir na nithe sin, tha iad a' nochdadh gu soilleir gu bheil iad ag iarraidh dùthcha.

15 Agus gu fìrinneach nam biodh iad cuimhneachail air an *dùthaich* sin, as an d'thainig iad a mach, dh'fheudadh iad àm iomchuidh fhaghail air pilleadh:

16 Ach a nis tha déidh aca air *dùthaich* a's fearr, eadhon *dùthaich* nèamhaidh: uime sin cha nàr le Dia, gu'n goirear an Dia-san dheth: oir dh'ulluich e dhoibh baile.

17 Tre chreidimh dh'iobair Abraham, air dha bhi air a dhearbhadh, *a mhac* Isaac; agus thug an ti a fhuair na geallanna suas aonghin *mhic*:

18 Ris an dubhradh[m], Ann an Isaac goirear do shliochd:

19 A' breithneachadh[n] gu'm bu chomasach Dia air a thogail eadhon o na marbhaibh; o'n d'fhuair se e eadhon ann an cosamhlachd.

20 Tre chreidimh bheannuich Isaac Iacob agus Esau mu thimchioll nithe a bha ri teachd.

21 Tre chreidimh bheannuich Iacob, ag faghail bàis da, dithis mhac Ioseiph; agus rinn e aoradh, *a' leigeadh a chudthrom* air bàrr a bhataidh.

22 Tre chreidimh rinn Ioseph, ri àm faghail a' bhàis da, iomradh air dol a mach chloinn Israeil; agus thug e àithne mu thimchioll a chnàmh.

23 Tre chreidimh an uair a rugadh Maois, dh'fholaicheadh e tri mìosan le phàrantaibh, do bhrigh gu'm fac iad gu'm bu leanabh tlachdmhor e; agus cha robh eagal orra roimh àithne an righ.

24 Tre chreidimh air teachd gu h-aois do Mhaois, dhiùlt e bhi air a ghairm 'na mhac do nighinn Pharaoh;

25 A' roghnachadh àmhghar fhulang maraon ri sluagh Dhé, roimh shòlas a' pheacaidh a mhealtuinn rè seal;

26 A' meas gu'm bu mhó an saibhreas masladh Chriosd na ionmhuis na h-Eiphit: oir bha sùil aige ris an luach-saoithreach[o].

27 Tre chreidimh thréig e'n Eiphit, gun eagal a bhi air roimh chorruich an righ: oir bha e làidir 'na inntinn mar neach a bha faicinn an ti a ta neo-fhaicisinneach.

28 Tre chreidimh ghlèidh e chàisg, agus an dòrtadh fola, chum nach beanadh an ti a sgrios na ceud-ghin riusan.

29 Tre chreidimh chaidh iad trid na mara ruaidh mar tre thalamh tioram: ni 'nuair a thug na h-Eiphitich ionnsuidh air a dheanamh, bhàthadh iad.

30 Tre chreidimh thuit ballacha Iericho, an déigh bhi air an cuartachadh rè sheachd làithean.

31 Is ann tre chreidimh nach do sgriosadh Rahab an striopach maraon riusan nach do chreid, 'nuair a ghabh i ris an luchd-brathaidh an sìothchaint.

32 Agus ciod tuilleadh a deiream? oir theirgeadh an ùine dhomh ann an labhairt mu Ghedeon, Bharac agus Shampson, agus Iephthae, Dhaibhidh mar an ceudna agus Shamuel, agus na fàidhibh:

33 Muinntir tre chreidimh a cheannsaich rioghachdan, a dh'oibrich fìreantachd, a fhuair geallanna, a dhruid beoil leòmhan,

34 A mhùch neart teine, a chaidh as o fhaobhar a' chlaidheimh, o anmhuinneachd a rinneadh neartmhor, a dh'fhàs treun ann an cath, a chuir air theicheadh armailte nan coimheach.

35 Fhuair mnài am mairbh air an togail a rìs gu beatha: agus chràidhphianadh dream eile, gun iad a

[l] *na nithe a ghealladh.* [m] *Mu'n dubhradh.* [n] *a' reusonachadh, a' meas.* [o] *duais.*

ghabhail ri saorsa; chum gu faigh-
eadh iad aiseirigh a b'fhearr.

36 Fhuair dream eile feuchainn
do fhanoidibh, agus do sgiùrsaibh,
seadh, fòs, do gheimhlibh agus do
phriosun.

37 Chlachadh iad, shàbhadh as a
chéile iad, bhuaireadh iad, chuireadh
gu bàs leis a' chlaidheamh iad: chaidh
iad 'nam *fògaraich* mu'n cuairt ann
an croicnibh chaorach agus ghabhar,
ann an uireasbhuidh, ann an triob-
laidibh, ann an cràdh:

38 (Dream air nach b'airidh an
saoghal) a' dol air seacharan ann am
fàsaichibh, agus air sleibhtibh, agus
ann an uamhaibh agus ann an slochd-
aibh na talmhainn.

39 Agus air dhoibh so uile deadh
theisteas fhaotainn tre chreidimh, cha
d'fhuair iad an gealladh:

40 Air do Dhia ni éigin a's fearr a
sholar dhuinne, ionnas nach biodh
iadsan air an deanamh foirfe as ar
n-eugmhaisne.

CAIB. XII.

1 *Earail chum bhi bunaiteach ann
an creidimh, foighidin, agus diadh-
achd.* 32 *Moladh an Tiomnaidh-
nuaidh os ceann an t-seann-tiom-
naidh.*

UIME sin, air dhuinne bhi air ar
cuartachadh le neul co mòr a
dh'fhianuisibh, cuireamaid dhinn
gach lethtrom, agus am peacadh a ta
gu furas ag iadhadh umainn, agus
ruitheamaid le foigidin a' chloinnh-
liong[p] a chuireadh romhainn,

2 Ag amharc air Iosa ceannard[r]
agus fear-crìochnaich *ar* creidimh,
neach air son an aoibhneis a chuir-
eadh roimhe, a dh'fhuiling an crann-
ceusaidh, a' cur na nàire an neo-
shuim, agus a shuidh air deas righ-
chaithreach Dé.

3 Uime sin thugaibh fainear esan
a dh'fhuiling a leithid sin do chain-
cainnt o pheacachaibh 'na aghaidh
féin, air eagal gum bi sibh sgìth agus
lag ann bhur n-inntinnibh.

4 Cha do sheas sibh fathast gu
fuil, a' cathachadh an aghaidh peac-
aidh.

5 Agus dhi-chuimhnich[s] sibh an
earail a ta labhairt ribh mar ri cloinn,
A mhic, na cuir suarach[t] smachdach-
adh an Tighearna, agus na fannaich[u]
'nuair a chronaichear leis thu:

6 Oir an ti a's ionmhuinn leis an
Tighearn, smachduichidh se e, agus
sgiùrsaidh e gach mac ris an gabh e.

7 Ma ghiùlaineas sibh smachdach-
adh, tha Dia a' buntuinn ribh mar ri
cloinn: oir cò am mac nach smachd-
aich an *t-Athair?*

8 Ach ma tha sibh as eugmhais
smachdachaidh, d'am bheil na h-uile
'nan luchd-comh-pairt, an sin is clann
dìolain sibh, agus cha chlann *dligh-
each.*

9 Os bàrr, bha againn aithriche
thaobh na feòla, a smachdaich sinn,
agus thug sinn urram dhoibh: nach
mòr is mò *is còir dhuinn* bhi ùmhal
do Athair nan spiorad, agus a bhi
beo?

10 Oir gu deimhin smachduich
iadsan sinn rè beagain do làithibh a
réir an toile féin[a]; ach esan chum ar
leasa, ionnas gu'm bitheamaid 'nar
luchd-comh-pairt d'a naomhachd.

11 Ach cha mheasar smachdach-
adh air bith am feadh 's a ta e làth-
air sòlasach, ach doilgheasach: gidh-
eadh, 'na dhéigh sin bheir e uaith
toradh sìothchail na fìreantachd, do'n
droing a ta *gu dligheach* air an
cleachdadh ris.

12 Uime sin, togaibh suas na
làmhan a ta air tuiteam sìos, agus
neartaichibh na glùine laga.

13 Agus deanaibh cos-cheuma
dìreach d'ar cosaibh, air eagal gu'm
bi an ni sin a *ta bacach* air a thionn-
dadh as an t-slighe, ach gu ma mò
bhiodh e air a shlànuchadh.

14 Leanaibh sìth maille ris na
h-uile dhaoinibh, agus naomhachd,
ni as eugmhais nach faic neach air
bith an Tighearn:

15 A' toirt an ro-aire, air eagal
gu'n d'thig neach sam bith a dhéidh-
laimh air gràs Dé[b]; air eagal air

*p an ùine. q ughdair. s no dhi-chuimhnich. t an neo-shuim, an
neo-ghrìs. u lagaich. a mar bu taitneach leo.* b *gu'n claon neach
air falbh o ghràs Dé.*

fàs suas do fhrèimh seirbhe sam
bith, gu'n cuir e dragh oirbh, agus le
so gu'm bi mòran air an salachadh :
16 Air eagal gu'm bi fear striop-
achais ann, no neach mi-naomha sam
bith, mar Esau, a reic air son aon
ghreim bìdh[c] còir a cheud-bhreithe.
17 Oir a ta fhios agaibh 'nuair a
b'àill leis an déigh sin am beannach-
adh a shealbhachadh, gu'n do dhiùlt-
adh e: oir cha d'fhuair e àit aith-
reachais, ge do dh'iarr se e gu dùr-
achdach le deuraibh.
18 Oir cha d'thainig sibh chum an
t-sleibh fa's am feudta beantuinn, agus
a bha losgadh le teine, no chum
duibhre, agus dorchadais, agus doin-
inn,
19 Agus fuaim na trompaide, agus
guth nam briathar, ionnas gu'n do
ghuidh an droing a chual e nach
labhairteadh am focal riu tuilleadh :
20 (Oir cha b'urrainn iad an ni sin
a chaidh àithneadh dhoibh iomchar,
Agus ma bheanas fiu ainmhidh ris an
t-sliabh, clachar e, no cuirear sleagh a
mach trìd.
21 Agus bu co uamhasach an
sealladh, as gu'n dubhairt Maois, Tha
eagal ro mhòr agus crith orm :)
22 Ach tha sibh air teachd gu
sliabh Shioin, agus gu cathair an Dé
bheo, an Ierusalem nèamhaidh, agus
cuideachd do-àireamh do ainglibh,
23 Gu làn choimhthional agus
eaglais nan ceud-ghin, a tha scrìobhta
sna nèamhaibh, agus gu Dia breith-
eamh nan uile, agus gu spioradaibh
nam fìrean air an deanamh foirfe,
24 Agus gu h-Iosa eadar-mheadh-
onair a' choimh-cheangail nuaidh,
agus chum fola a' chrathaidh, a tha
labhairt nithe a's fearr na *fuil* Abeil.
25 Thugaibh an aire nach diùlt
sibh esan a ta labhairt: oir mur
deachaidh iadsan as a dhiùlt an ti a
labhair *o Dhia riu* air talamh, is mòr
is lugha na sin *a théid* sinne *as*, ma
thionndaidheas sinn air falbh uaithe-
san a ta *labhairt* o nèamh.
26 Neach aig an do chrath a ghuth
an talamh an sin : ach a nis gheall e,
ag ràdh, Aon uair eile fathast crath-
am cha'n e an talamh a mhàin, ach
nèamh mar an ceudna.
27 Agus a ta *am focal* so, Aon uair
eile, a' ciallachadh atharrachaidh nan
nithe sin a chrathar, mar nithe a rinn-
eadh, chum gu fanadh na nithe nach
gabh crathadh[d].
28 Uime sin air dhuinne rioghachd
fhaotainn nach feudar a ghluasad,
biodh againn gràs[e], leis an dean sinn
seirbhis gu taitneach do Dhia, le
h-urram agus eagal diadhaidh.
29 Oir is teine dian-loisgeach ar
Dia-ne.

C A I B. XIII.

1 *Comhairlean eagsamhla chum seirc,*
4 chum caitheadh-beatha chintfaich,
5 chum sannt a sheachnadh, 7 chum
bhi dleasdanach do luchd-searmon-
achaidh an t-soisgeil, 9 bhi air ar
faicill o theagaisgaibh coimheach,
16 déirce thoirt uaithe, 17 bhi
ùmhal do uachdaranaibh, 18 ùr-
nuigh a dheanamh air son an abstoil.
19 An comh-dhùnadh.

FANADH gràdh bràthaireil
agaibh.
2 Na dearmadaibh aoidheachd a
thabhairt do choigrich ; oir leis a so
thug dream àraidh aoidheachd do
ainglibh gun fhios doibh.
3 Bithibh cuimhneachail orrasan a
tha ceangailte, mar gu'm biodh sibh
ceangailte maraon riu ; *agus* air an
droing a tha fulang anshocair, mar
mhuinntir a tha sibh féin mar an
ceudna anns a' choluinn.
4 *Tha'm* pòsadh urramach anns na
h-uile[f], agus an leabadh neo-shalach :
ach air luchd-striopachais agus adhal-
tranais bheir Dia breth.
5 *Biodh bhur* caitheadh-beatha gun
sannt ; agus bithibh toilichte leis na
nithibh a tha làthair agaibh : oir
thubhairt e, Cha'n fhàg, agus cha
tréig mi am feasd thu.
6 Ionnas gu'm feud sinn a ràdh
gu dàna, 'S e'n Tighearn m'fhear-
cuidich, agus cha'n eagal leam aon ni
a dh'fheudas duine dheanamh orm.
7 Bithibh cuimhneachail air bhur
cinn-iuil, a labhair ribh focal Dé ;

[c] *lòin.* [d] *nach feudar a chrathadh.* [e] *deanamaid greim do ghràs.*
[f] *am measg nan uile.*

leanaibh an creidimhsan, a' beachd-
achadh air crìch an caitheadh-beatha.
8 Iosa Criosd an dé, agus an diugh,
agus gu siorruidh an ti ceudna.
9 Gia bithibh air bhur giùlan mu'n
cuairt le teagasgaibh eagsamhla
coimheacha: oir is maith an ni an
cridhe bhi air a dhaingneachadh le
gràs, cha'n ann le biadhaibh, nithe
nach d'thug tairbhe do'n droing a
ghnàthaich iad.
10 Tha altair againne dheth nach
'eil còir acasan a bheag itheadh, a tha
deanamh seirbhis do'n phàilliun.
11 Oir a ta cuirp nan ainmhidh sin,
aig am bheil am fuil air a toirt a
steach air son peacaidh do'n ionad
naomha leis an àrd shagart, air an
losgadh an leth muigh do'n champ.
12 Uime sin chum gu'n deanadh
Iosa an sluagh a naomhachadh le
fhuil féin, dh'fhuiling e mar an ceud-
na an taobh a muigh do'n gheata.
13 Air an aobhar sin rachamaid a
mach d'a ionnsuidhsan an taobh a
muigh do'n champ, a' giùlan a' mhas-
laidhsan
14 Oir an so cha 'n'eil againn baile
a mhaireas, ach a ta sinn ag iarraidh
aoin a ta ri teachd.
15 Uime sin tridsan thugamaid
suas ìobairt buidheachais do Dhia a
ghnàth, 'se sin, *toradh ar bilean*, a'
toirt molaidh d'a ainm.
16 Ach na dì-chuimhnichibh maith
a dheanamh, agus comh-roinn a thoirt
uaibh: oir a ta an leithide sin do ìob-
airtibh taitneach do Dhia.
17 Bithibh ùmhal d'ar cinn-iuil,
agus thugaibh géill doibh: oir tha
iad ri faire air bhur n-anamaibh, mar
mhuinntir d'an éigin cunntas thoirt
uatha: chum gu'n dean iad e le
gairdeachas, agus ni h-e le doilgheas:
oir tha so neo-tharbhach dhuibhse.
18 Deanaibh ùrnuigh air ar soinne:
oir is dòigh leinn gu bheil deadh
choguis againn, air dhuinn bhi toileach
ar beatha a chaitheadh gu cubhaidh
anns na h-uile nithibh.
19 Ach is mòid a ghuidheam oirbh
so a dheanamh, chum gur luathaid' a
dh'aisigear mise dhuibh.
20 A nis gu deanadh Dia na sìoth-
chaint a thug air ais o na marbhaibh
ar Tighearn Iosa, àrd bhuachaille nan
caorach, tre fhuil a' choimh-cheangail
shiorruidh,
21 Siblise coimhlionta anns gach
uile dheadh obair, chum sibh a dhean-
amh a thoilesan, ag oibreachadh ann-
aibh an ni a ta taitneach 'na làthairsan,
tre Iosa Criosd; dhasan *gu robh* glòir
gu saoghal nan saoghal. Amen.
22 Agus guidheam oirbh, a
bhràithre, sibh a ghiùlan focal na
h-caralach; oir sgrìobh mi gu h-aith-
ghearra d'ar n-ionnsuidh.
23 Biodh fhios agaibh, gu'n do
cuireadh ar bràthair Timoteus air a
thomas; maille ris-san, ma thig e gu
goirid, chi *mi* sibh.
24 Cuiribh fàilte orrasan uile a
tha 'nan cinn-iuil duibh, agus air na
naoimh uile. Tha muinntir na h-Ead-
ailt a' cur fàilte oirbh.
25 Gràs *gu robh* maille ribh uile.
Amen.

LITIR CHOITCHIONN AN ABSTOIL SHEUMAIS.

CAIB. I.

1 *Is còir dhuinn [illegible] a [illegible] amh fuidh [illegible]. 5 [illegible] iarraidh o Dhia. 13 [illegible] feuchainnibh [illegible] n-anmhuin[illegible] as a lethsan, &c.*

THA Seumas seirbhiseach Dhé,
agus an Tighearna Iosa Criosd,
a' cur beannachd chum an dà thréibh
dheug a tha air an sgapadh o
chéile.
2 Mo bhràithre, measaibh mar an
uile ghairdeachas 'nuair a thuiteas

sibh ann an iomadh gnè dheuchainnibh[g];

3 Air dhuibh fios *so* bhi agaibh, gu'n oibrich dearbhadh bhur creidimh foighidin.

4 Ach biodh aig an fhoighidin *a* h-obair dhiongmhalta féin, chum gu'm bi sibh diongmhalta agus iomlan, gun uireasbhuidh ni sam bith.

5 Ma tha aon neach agaibh a dh'uireasbhuidh gliocais, iarradh e o Dhia, a bheir do gach neach gu pailt, agus nach dean maoidheamh[h]; agus bheirear dha e.

6 Ach iarradh e le creidimh, gun bhi fuidh amharus sam bith: oir an ti a tha fuidh amharus, is cosmhuil e ri tonn na fairge, a shéidear le gaoith, agus a tha air a luasgadh[i] chuige agus uaith.

7 Oir na saoileadh an duine sin gu'm faigh e ni air bith o'n Tighearn.

8 Tha fear na h-inntinn dùbailte[l] neo-sheasmhach 'na uile shlighibh.

9 Deanadh am bràthair a tha ìosal gairdeachas 'na àrdachadh:

10 Ach an duine saibhir, 'na ìsleachadh: do bhrigh mar bhlàth an fheoir gu'n d'théid e seachad:

11 Oir air éirigh do'n ghréin le dian theas, crìonaidh i am feur, agus tuitidh a bhlàth, agus théid maise a dhreach am mugha[m]: is amhuil sin mar an ceudna a sheargas an duine saibhir 'na shlighibh.

12 Is beannuichte an duine a ghiùlaineas buaireadh: oir 'nuair a dhearbhar e, gheibh e crùn na beatha, a gheall an Tighearn do'n droing a ghràdhaicheas e.

13 Na abradh neach sam bith 'nuair a bhuairear e, Tha mi air mo bhuaireadh le Dia: oir ni'n comasach Dia a bhuaireadh le h-olc, ni mò bhuaireas e neach sam bith.

14 Ach tha gach duine air a bhuaireadh, 'nuair a thairngear, agus a thàlaidhear[n] e le anamhiann féin.

15 An sin air bhi do'n anamhiann torrach, beiridh e peacadh: agus air do'n pheacadh bhi air a chrìochnachadh, beiridh e bàs.

16 Na bithibh air bhur mealladh, mo bhràithre gràdhach.

17 Tha gach uile dheadh thabhartas, agus gach uile thiodhlac iomlan o'n àirde, a' teachd a nuas o Athair na soillse, maille ris nach 'eil atharrachadh, no sgàile tionndaidh.

18 O thoil féin ghin e sinn le focal na fìrinn chum gu'm bitheamaid 'nar gnè cheud-toraidh d'a chreutairibh.

19 Uime sin, mo bhràithre gràdhach, biodh gach duine ealamh chum éisdeachd, mall chum labhairt, mall chum feirge:

20 Oir cha'n oibrich fearg duine fìreantachd Dhé.

21 Uime sin cuiribh uaibh gach uile shalachar, agus anabharr mìoruin, agus gabhaibh d'ar n-ionnsuidh le macantas[o] am focal a tha air a shuidheachadh annaibh, a tha comasach air bhur n-anaman a shlànuchadh.

22 Ach bithibhse 'nar luchd chur an gnìomh an fhocail, agus ni b'ann 'nar luchd-éisdeachd a mhàin, 'gar mealladh féin.

23 Oir ma tha neach air bith 'na fhear-éisdeachd an fhocail, agus ni h-ann 'na fhear-deanamh *d'a réir*, is cosmhuil e ri duine a tha 'g amharc air aghaidh nàdurra féin ann an sgàthan:

24 Oir bheachdaich e air féin, agus dh'imich e roimhe, agus dhìchuimhnich e air ball ciod an coslas duine a bh'ann féin.

25 Ach ge b'e bheachdaicheas gu dùrachdach air lagh diongmhalta na saorsa, agus a bhuanaicheas *ann*, gun e bhi 'na fhear-éisdeachd dearmadach, ach 'na fhear-deanamh na h-oibre, bithidh an duine so beannuichte 'na dheanadas.

26 [illegible]a shaoileas neach air bith 'nar [illegible]easg gu bheil e diadhuidh, gun [illegible]bhi cur sréin r'a theangaidh, ach a[illegible] mealladh a chridhe féin, *is* dìomh[illegible]in diadhachd an duine so.

27 [illegible]i so an diadhachd fhior-ghlan agus neo-shalach am fianuis Dé agus an Athar, dìleachdan agus

[g] *bhuairibh.* [h] *nach cuir nàire.* [i] *fhuadachadh.* [l] *fear an dà inntinn.*
[m] *théid as do mhaise a dhreach.* [n] *bhreugar, [illegible]ear.* [o] *ceannsachd.*

bantrachais fhiosrachadh 'nan trioblaid, agus neach 'ga choimhead féin gun smal o'n t-saoghal.

C A I B. II.

1 Cha 'n'eil e comh-fhreagradh d'ar n-aidmheil chriosdaidh suim a bhi againn do dhaoinibh saibhre agus tàir a dheanamh air ar bràithribh bochda; 13 is mò bu chòir dhuinn bhi seirceil agus tròcaireach: 14 agus gun uaill a dheanamh a creidimh far nach 'eil oibre: &c.

MO bhràithre, na biodh agaibh creidimh ar Tighearna Iosa Criosd, *Tighearna* na glòire [p], maille ri gnùis-bhreth [r].

2 Oir ma thig a steach d'ar coimhthional duine air am bheil fàinne òir, ann an eudach dealrach, agus gu'n d'thig a steach mar an ceudna duine bochd ann an eudach suarach [s];

3 Agus gu'n amhairc sibh le meas air an duine sin air am bheil an deadh thrusgan, agus gu'n abair sibh ris, Suidh thus' an so ann an àit inbheach [t]; agus gu'n abair sibh ris an *duine* bhochd, Seas thus' an sin, no suidh an so fuidh stòl mo chos:

4 Nach 'eil sibh mar sin leth-bhretheach annaibh féin, agus nach d'rinneadh sibh 'nar breitheannaibh dhroch smuainte?

5 Eisdibh, mo bhràithre gràdhach, nach do thagh Dia bochdan an t-saoghail so, saibhir ann an creidimh, agus 'nan oighreachaibh air an rioghachd, a gheall e dhoibhsan a ghràdhaicheas e?

6 Ach thug sibhse easonoir do'n bhochd. Nach 'eil na daoine saibhir ri ain-tighearnas oirbh [u], agus 'gar tarruing gu caithrichibh-breitheanais?

7 *Nach 'eil iad* a' toirt toibheim [a] do'n ainm òirdheirc [b], a dh'ainmicheadh oirbh?

8 Ma choimhlionas sibh an lagh rioghail a réir an sgriobtuir, Gràdhaich do choimhearsnach mar thu féin, is maith a ni sibh.

9 Ach ma ni sibh leth-bhreth air daoinibh, tha sibh a' deanamh peacaidh, agus tha sibh air bhur fàgail shìos leis an lagh mar a luchd-brisidh.

10 Oir ge b'e neach a choimhideas an lagh uile, agus a thuislicheas ann an aon *àithne* [c], tha e ciontach do'n iomlan.

11 Oir an ti a thubhairt, Na dean adhaltrannas, thubhairt e mar an ceudna, Na dean mortadh. *A nis* ge nach dean thu adhaltrannas, gidheadh ma ni thu mortadh, rinneadh fear-brisidh an lagha dhiot.

12 Gu ma h-amhluidh sin a labhras sibhse, agus gu ma h-amhluidh a ni sibh, mar iadsan air an d'théid breth a thoirt le lagh *na* saorsa.

13 Oir gheibh esan breitheanas gun tròcair, nach d'rinn tròcair; agus ni tròcair gairdeachas an aghaidh breitheanais.

14 Ciod an tairbhe, mo bhràithre, ge do their aon neach gu bheil creidimh aige, agus gun oibre bhi aige? an urradh creidimh a shlànuchadh?

15 Ma bhios bràthair no piuthar lomnochd, agus a dh'uireasbhuidh teachd-an-tìr lathail;

16 Agus gu'n abair neach agaibhse riu, Imichibh an sìothchaint, bithibh air bhur garadh, agus bithibh air bhur sàsuchadh: gidheadh nach tabhair sibh dhoibh na nithe sin a tha feumail do'n chorp; ciod an tairbhe *ta ann*?

17 Is amhuil sin creidimh mar an ceudna, mur bi oibre aige, tha e marbh, air dha bhi leis féin.

18 Ach a deir neach àraidh, Tha creidimh agadsa, agus tha oibre agamsa: nochd dhomhsa do chreidimh as eugmhais t'oibre [d], agus nochdaidh mise dhuitse mo chreidimh le m' oibribh.

19 Tha thu creidsinn gu bheil aon Dia ann; is maith a ni thu: tha na deamhain a' *creidsinn* mar an ceudna, agus tha iad a' criothnuchadh.

[p] creidimh glòire ar Tighearna Iosa Criosd. [r] meas air pearsa seach a chéile. [s] salach. [t] gu h-onorach. [u] a' deanamh fòirneart oirbh, 'gar sàrachadh. [a] [illegible]. [b] [illegible]. [c] bhriseas aon phonc. *[d] le t' oibribhse.*

20 Ach, O dhuine dhìomhain, an
àill leat fios fhaotainn, gu bheil
creidimh as eugmhais oibre marbh?
21 Nach deachaidh air n-athair
Abraham fhìreanachadh le oibribh,
'nuair a thug e suas a mhac Isaac air
an altair?
22 Nach léir dhuit gu'n do chomh-
oibrich creidimh le gnìomharaibh,
agus gu'n d'rinneadh creidimh iomlan
le oibribh?
23 Agus choimhlionadh an sgriob-
tuir a deir, Chreid Abraham Dia,
agus mheasadh sin da mar fhìrean-
tachd: agus ghoireadh caraid Dé
dheth.
24 Chi sibh uime sin gu'm fìrean-
aichear duine le oibribh, agus cha'n
ann le creidimh a mhàin.
25 Amhuil sin mar an ceudna,
nach robh Rahab an striopach air a
fìreanachadh le oibribh, 'nuair a
ghabh i ris na teachdairibh, agus a
chuir i mach air slighe eile iad?
26 Oir mar a ta 'n corp marbh
as eugmhais an spioraid, mar sin
mar an ceudna tha creidimh marbh
as eugmhais oibre.

CAIB. III.

1 *Cha chòir grad bhreth a thoirt air
daoin' eile, no an cronachadh gu
ladarna; 5 ach is mò is còir
dhuinn srian a chur r'ar teangaidh,
ball beag, ach a ta 'na h-inneal
cumhachdach chum mòr mhaith agus
olc a dhèanamh: 13 tha'n droing
sin o tha fìor-ghlic ciuin agus
siothchail, gun tnù, gun strì.*

MO bhràithre, na bithibh 'nar
mòran mhaighstirean[e], air
dhuibh fios a bhi agaibh gu'm faigh
sinn an tuilleadh breitheanais.
2 Oir ann am mòran nithe tha
sinn uile ciontach. Mur 'eil duine
ciontach ann am focal, *is* duine iom-
lan an ti sin, co-[illegible]sach mar an ceudna
air srian a chur ris a' chorp uile.
3 Feuch, tha sinn a' cur shrian
am beul nan each, chum's gu'm bi
iad ùmhal dhuinn; agus tionndaidh
sinn an corp uile mu'n cuairt.
4 Feuch mar an ceudna na longa,
ge do tha iad co mòr, agus ge do
shéidear iad le garbh ghaothaibh,
gidheadh iompoichear mu'n cuairt
iad le stiùir ro bhig, ge b'e àird gus
am miann leis an stiùradair.
5 Is amhuil sin is ball beag an
teanga, agus ni i mòr uaill[f]. Feuch,
cia meud an connadh a lasas teine
beag!
6 Agus *is* teine an teanga, saoghal
do aingidheachd: mar sin tha an
teanga air a suidheachadh am measg
ar ball, ionnas gu'n salaich i'n corp
gu h-iomlan, agus gu'n las i cùrsa an
nàduir[g]; agus i féin air a lasadh o
ifrinn.
7 Oir a ta gach uile gné fhiadh-
bheathaiche, agus eunlaith, agus
nithe snàigeach[h], agus nithe san
fhairge, air an ceannsachadh; agus
cheannsaicheadh iad leis a' chinn-
eadh-daonna:
8 Ach ni'n comasach do dhuine air
bith an teanga cheannsachadh; *is* olc
do-chasgaidh *i*, làn do nimh marbhtach.
9 Leatha-sa, tha sinn a' beannach-
adh Dhé, eadhon an Athar; agus
leatha-sa tha sinn a' mallachadh
dhaoine, a rinneadh a réir cosamh-
lachd Dhé.
10 As an aon bheul tha beannach-
adh agus mallachadh a' teachd a
mach. Mo bhràithre, cha chòir do
na nithibh so bhi mar so.
11 An cuir tobar a mach as an aon
sùil *uisge* milis agus searbh?
12 Am feud craobh-fhìge, mo
bhràithre, dearcan ola a thoirt uaipe?
no a' chraobh-fhìona, figean? mar
sin cha'n fheud tobar sam bith sàile
agus uisge milis a thoirt uaith araon.
13 Cò *a ta* 'na dhuine glic agus aig
am bheil eòlas 'nar measg? nochdadh
e a deadh chaitheadh-beatha oibre
féin le ceannsachd gliocais.
14 Ach ma tha eud searbh agus
comh-str[illegible] agaibh 'nar cridhe, na dean-
aibh u[illegible], agus na deanaibh breug an
aghaidh na fìrinn.
15 C[illegible]a'n ann o'n àirde tha 'n
gliocas [illegible] a' teachd a nuas, ach *tha*
e talmhaidh, collaidh, diabhlaidh.
16 Oir far am *bheil* farmad agus

[e] *fhear-teagaisg.* [f] *ràiteachais.* [g] *triall na beatha, cuairt an domhain.*
[h] *pathraiche.*

comh-st[illegible] an sin *tha* buaireas‡, agus
gach uile dhroch ghnìomh.
17 Ach a ta an gliocas a tha o'n
àirde air tùs glan, an déigh sin sìoth-
cha[illegible], ciuin, *agus* so-chomhairlich,
làn do thròcair agus do dheadh thor-
aibh, gun leth-bhreth agus gun
cheilg.
18 Agus tha toradh na fìreantachd
air a chur ann an sìth do luchd-deanamh
na sìth.

CAIB. IV.

1 *Is còir dhuinn cathachadh an aghaidh sainnt, 4 neo-mheasarrachd, 5 uabhair, 11 cùl-chàineadh, agus breth ghrad mu dhaoinibh eile; 13 agus gun bhi ro earbsach a soirbheas ann ar gnothaichibh saoghalta: &c.*

CIA as a ta cogannna agus còmh-
raga a'*teachd* 'nar measg? nach
ann as a so, *eadhon* o bhur n-ana-
mhiannaibh, a tha cogadh ann bhur
ballaibh?
2 Tha sibh a' miannachadh, agus
cha 'n'eil agaibh: tha sibh a' marbh-
adh, agus a' dian-shanntachadh, agus
ni'n comas duibh ni fhaotainn: tha
sibh a' cathachadh agus a' cogadh,
gidheadh cha 'n'eil agaibh, do bhrigh
nach 'eil sibh ag iarraidh.
3 Tha sibh ag iarraidh, agus ch[illegible]
'n'eil sibh a' faotainn, do bhrigh gu
bheil sibh ag iarraidh gu h-olc,
chum's gu'n caith sibh e air bhur
n-anamhiannaibh.
4 Adhaltrannaichean, agus a bhan-
adhaltrannaichean, nach 'eil fhios
agaibh gur [illegible] an aghaidh
Dhé càirdeas an t-saoghail? [illegible]
air bith neach [illegible]
bhi 'na ch[illegible] t-saoghail, tha e
'na nàmh[illegible] do Dhia.
5 An [illegible] sibh a' smuaineachadh
gu bheil an sgriobtuir gu dìomhain-
ach a' labhairt? An bheil an spior-
ad[1] a t[illegible] chòmhnuidh [illegible] a'
togairt[m] gu farmad?
6 Ach bheir e gràs a's [illegible]
uime sin [illegible] Tha Dia a' cur
an aghaidh [illegible]
toirt gràs [illegible]
7 Uime sin ùmhlaichibh sibh féin
do Dhia; cuiribh an aghaidh an
diabhoil, agus teichidh e uaibh:
8 Dlùthaichibh ri Dia, agus
dlùthaichidh e ribh: glanaibh bhur
làmhan, a pheacacha, agus glanaibh
bhur cridhe, sibhse aig am bheil an
inntinn dhùbailte[n].
9 Bithibh ann an àmhghar, agus
deanaibh caoi, agus gul: biodh bhur
gàire air a thionndadh gu bròn, agus
bhur n-aoibhneas gu tuirse.
10 Irioslaichibh sibh féin an
fianuis an Tighearna, agus àrdaich-
idh e sibh.
11 Na labhraibh olc mu chéile, a
bhràithre. An ti a tha labhairt olc
m'a bhràthair, agus a' tabhairt breth
air a bhràthair, tha e labhairt olc
mu'n lagh, agus a' toirt breth air an
lagh: ach ma tha thu toirt breth air
an lagh, cha'n fhear-coimhlionaidh
an lagha thu, ach breitheamh.
12 Tha aon fhear-tabhairt lagha
ann, a's urrainn saoradh agus sgrios:
co thus'a tha toirt breth air neach eile?
13 Imichibh a nis, sibhse a deir,
Théid sinn an diugh no màireach
gus a' leithid so do bhaile, agus
fanuidh sinn an sin rè bliadhna, agus
ni sinn ceannachd[o], agus gheibh
sinn buannachd:
14 'Nuair nach 'eil fhios agaibh
ciod a *tharlus* air a' mhàireach: oir
ciod i bhur beatha? is deatach i a
chithear rè ùine bhig, agus an déigh
sin a théid as an t-sealladh.
15 An àit *gu'm bu chòir* dhuibh a
ràdh, Ma's toil leis an Tighearn, bith-
idh sinn beo, agus ni sinn so, no sud.
16 Ach a nis tha sibh a' deanamh
uaill as bhur ràiteachas féin: is olc
gach uile shar nhuil sin do uaill.
17 Uime sin dhasan d'an aithne
[illegible] heanamh, agus nach dean e,
is peacadh e dha.

CAIB. V.

1 *Tha aobhar aig daoinibh saoibhir eagal a bhi orra roimh dhìoghaltas Dé. 7 Bu chòir dhuinn bhi foighidneach a réir eisempleir nam fàidh, agus Iob; 12 mionnan seachnamh; 13 ùrnuigh* [illegible]

‡ an-riaghailt. † Tha an [illegible]. [m] miannachadh. [n] dhà-fhillte.
[o] [illegible]

ghnàthachadh ann an anshocair,
agus sailm a sheinn ann an socair ;
&c.

IMICHIBH a nis a dhaoine
saibhre, deanaibh gul agus caoidh
air son bhur n-àmhghar a tha teachd
oirbh.
2 Tha bhur saibhreas air truaill-
eadh, agus bhur n-eudach air itheadh
leis an leomann [p].
3 Tha bhur n-òr agus bhur
n-airgiod air meirgeadh ; agus bithidh
am meirg san 'na fhianuis 'nar n-agh-
aidh, agus ithidh i bhur feòil mar
theine : thaisg sibh ionmhas fa
chomhair nan là deireannach.
4 Feuch, tha tuarasdal an luchd-
oibre [r], a bhuain sìos bhur n-achaidh,
ni a chumadh uatha leibhse le feill,
ag éigheach : agus tha glaodhaich na
muinntir a bhuain, air dol a stigh
chum cluasa Tighearna nan sluagh.
5 Chaith sibh bhur beatha ann an
sògh air talamh, agus bha sibh mear ;
dh'altrum sibh bhur cridheacha, mar
ann an là a' mharbhaidh [s].
6 Dhit agus mharbh sibh am
fìrean [t], *agus* cha 'n'eil e cur 'nar
n-aghaidh.
7 Uime sin, a bhràithre, bithibh
foighidneach gu teachd an Tighearna.
Feuch, feithidh an treabhaiche [u] ri
toradh luachmhor an talmhainn, agus
fanaidh e gu foighidneach ris, gus am
faigh e an ceud uisge agus an t-uisge
deireannach.
8 Bithibhse foighidneach mar an
ceudna ; socraichibh bhur cridheacha ;
oir tha teachd an Tighearna am fagus.
9 Na deanaibh gearan an aghaidh
a chéile, a bhràithre, chum nach
dìtear sibh : feuch, tha am breith-
eamh 'na sheasamh aig an dorus.
10 Gabhaibh, mo bhràithre, na
fàidhean, a labhair ann an ainm an
Tighearna, 'nan eisempleir air an-
shocair fhulang, agus air foighidin.
11 Feuch, measar sona leinn iadsan
a dh'fhuilingeas. Chuala sibh iom-
radh air foighidin Iob, agus chunnaic
sibh crìoch an Tighearna ; gu bheil
an Tighearna ro thiom-chridheach a
agus tròcaireach.
12 Ach roimh na h-uile nithe, mo
bhràithre, na tugaibh mionnan, aon
chuid air nèamh, no air an talamh,
no air aon mhionnan eile : ach gu'm
bu h-e bhur *còmhradh* seadh, seadh,
agus ni h-eadh, ni h-eadh ; air eagal
gu'n tuit sibh ann an dìteadh.
13 Am bheil neach sam bith a'
fulang uilc 'nar measg? deanadh e
ùrnuigh. Am bheil neach sam bith
subhach ? canadh e sailm.
14 Am bheil neach sam bith tinn
'nar measg ? cuireadh e fios air sean-
airibh na h-eaglais ; agus deanadh iad
ùrnuigh os a cheann, 'ga ùngadh le
h-ola an ainm an Tighearna :
15 Agus slànuichidh ùrnuigh a'
chreidimh an t-euslan, agus togaidh
an Tighearn suas e ; agus ma rinn e
peacanna, maithear dha iad.
16 Aidichibh *bhur* lochda d'a chéile,
agus deanaibh ùrnuigh air son a
chéile, chum gu'n slànuichear sibh :
tha mòr éifeachd ann an ùrnuigh
dhùrachdaich an fhìrein.
17 Bu duine Elias aig an robh
comh-aigne ruinne, agus ghuidh e gu
dùrachdach gun uisge bhi ann : agus
cha d'thainig uisge air an talamh rè
thri bliadhna agus shea mìos.
18 Agus rinn e ùrnuigh a rìs, agus
thug nèamh uisge uaith, agus thug
an talamh a mach a thoradh.
19 A bhràithre, ma théid aon
neach agaibhse air seacharan o'n
fhìrinn, agus gu'n iompoich neach e ;
20 Biodh fhios aige, an duine a
dh'iompoicheas peacach o sheacharan
a shlighe, gu'n saor [b] e anam o bhàs,
agus gu'm folaich e mòran pheacanna.

[p] *an reudan, mial-chrion.* [r] *nam buanaiche.* [s] *an àir.* [t] *an t-ionracan.*
[u] *an tuathanach.* [a] *ro iochdmhor.* [b] *tèaruinn.*

CEUD LITIR CHOITCHIONN AN ABSTOIL PHEADAIR.

CAIB. I.

1 Tha e a' beannachadh Dhé air son a ghràsa iomarcach spioradail, 10 a' nochdadh nach naidheachd ùr slàinte tre Chriosd, ach ni mu'n robh fàidh-eadaireachd o shean: 13 agus a réir sin tha e a' cur impidh orra am beatha a chaitheadh gu diadhaidh, do bhrigh gu bheil iad a nis air an nuadh-bhreth le focal Dé.

PEADAR abstol Iosa Criosd, chum nan coigreach a tha air an sgapadh tre Phontus, Ghalatia, Chapadocia, Asia, agus Bhitinia,

2 A thaghadh a [illegible] Dhé an Athar, tre naomhachadh an Spioraid, chum [illegible] agus craob-adh fola Iosa Criosd: Gràs agus sìothchaint gu robh air am meudachadh dhuibh.

3 Gu ma beannaichte gu robh Dia agus Athair ar Tighearna Iosa Criosd, neach a réir a mhòr thròcair, a dh'ath-ghin sinne gu beo dhòchas, tre aiseirigh Iosa Criosd o na marbhaibh,

4 Chum oighreachd neo-thruaillidh, agus neo-shalaichte, agus nach searg as, a tha air a coimhead 'sna neamhaibh dhuibhse,

5 A tha air bhur coimhead le cumhachd Dhé tre chreidimh chum slàinte, a tha ullamh r'a foillseachadh san aimsir dheireannaich.

6 Ni ann am bheil sibh a' deanamh mòr ghairdeachais, ge do tha sibh a nis re àm beag (ma's feumail e) fuidh thùirse tre iomadh buaireadh.

7 Chum gu faighear dearbhadh bhur creidimh, ni's luachmhoire gu mòr na òr a théid am mugha[c], ge do dhearbhar le teine e, chum cliù, agus urraim, agus glòir aig foillseachadh Iosa Criosd;

8 D'am bheil sibh a' toirt gràidh, ge nach faca sibh e; agus air dhuibh bhi creidsinn ann ge nach 'eil sibh a nis 'ga fhaicinn, tha sibh a' deanamh mòr ghairdeachais le h-aoibhneas air dol thar labhairt, agus làn do ghlòir:

9 A' faotainn crìche bhur creidimh, slàinte *bhur* n-anaman:

10 Slàinte mu'n d'fhiosraich na fàidhean, agus mu'n d'rinn iad geur rannsachadh, muinntir a rinn fàidheadaireachd mu'n ghràs *a bha gu teachd* d'ar n-ionnsuidhse;

11 A' rannsachadh ciod i, no ciod gnè aimsir a bha Spiorad Chriosd annta-san a' foillseachadh[d], 'nuair a rinn e fhianuis roimh-laimh air fulangais Chriosd, agus a' ghlòir a bha gu 'n leantuinn.

12 Muinntir d'an d'fhoillsicheadh, nach ann doibh féin, ach dhuinne a fhrithealadh iad na nithe a tha nis air an cur an céill duibh leo-san a shearmonaich an soisgeul duibh, leis an Spiorad naomh a chuireadh a nuas o neamh; nithe air am miann leis na h-Ainglibh beachdachadh.

13 Uime sin crìosraichibh leasraidh bhur n-inntinn, bithibh measarra, agus biodh dòchas diongmhalta agaibh anns a' ghràs[e] *a bheirear dhuibh* aig foillseachadh *Iosa Criosd*;

14 Mar chloinn ùmhal, gun bhi 'gar co-chumadh féin *ris na* h-ana-mhiannaibh a bha agaibh roimhe ann an àm bhur n-aineolais:

15 Ach a réir mar a ta esan a ghairm sibh naomha, bithibhse naomha mar an ceudna 'nar n-uile chaithe-beatha:

16 Do bhrigh gu bheil e scrìobhta, Bithibhse naomha, oir ataimse naomha.

[c] *a neo-ni.* [d] *ciallachudh.* [e] *sùil gus a' chrìch agaibh ris a' ghràs.*

17 Agus ma ghoireas sibh air an Athair, a bheir breth a réir oibre gach neach gun chlaon bhàigh ri neach seach a chéile[f], caithibh aimsir bhur cuairt an so le h-eagal[g]:

18 Air dhuibh fios a bhi agaibh nach do shaoradh sibh le nithibh truaillidh, *mar a ta* airgiod agus òr, o bhur caitheadh-beatha dìomhain a thugadh dhuibh o bhur sinnsireachd;

19 Ach le fuil luachmhoir Chriosd, mar *fhuil* Uain gun chron, gun smal:

20 Neach gu deimhin a roimh-orduicheadh roimh chruthachadh an t-saoghail, ach a dh'fhoillsicheadh anns na h-aimsiribh deireannach air bhur sonsa;

21 Muinntir trìdsan a ta creidsinn ann an Dia a thog esan o na marbhaibh, agus a thug glòir dha, chum gu'm biodh bhur creidimh agus bhur muinghin ann an Dia.

22 Do bhrigh gu'n do ghlan sibh bhur n-anama le ùmhlachd a thoirt do'n fhìrinn tre 'n Spiorad, chum gràidh neo-chealgaich do na bràithribh; *feuchaibh gu'n* toir sibh gràdh d'a chéile a cridhe glan gu dùrachdach:

23 Air dhuibh bhi air bhur n-ath-ghineamhuin, cha'n ann o shìol truaillidh, ach neo-thruaillidh, le focal an Dé bheo agus a mhaireas gu siorruidh.

24 Oir *tha* gach uile fheòil mar fheur, agus uile ghlòir dhaonna mar bhlàth an fheòir. Seargaidh am feur, agus tuitidh a bhlàth dheth:

25 Ach fanaidh focal an Tighearna gu siorruidh. Agus is e so am focal a shearmonaicheadh dhuibhse anns an t-soisgeul.

CAIB. II.

1 *Tha e 'gan comhairleachadh an*
aghaidh mi-sheircealachd; 4 *a'*
nochdadh gur e Criosd am bunadh
air am bheil iad air an togail: 11
a' guidheadh orra fantuinn o ana-
mhiannaibh feòlmhor, 13 *bhi ùmhal*
do uachdaranaibh; 18 *cionnus is*
còir do sheirbhisich bhi ùmhal d'am
maighstiribh, 20 *iad a dh'fhulang*
gu foighidneach air son maith a
dheanamh a réir eisempleir Chriosd.

UIME sin a' cur uaibh gach uile mhìoruin, agus gach uile mhealltoireachd, agus chealg, agus tharmada, agus gach uile anacainnt,

2 Mar naoidheana ai rah ùr-bhreith, iarraibh bainne fìor-ghlan an fhocail, chum as gu fàs sibh leis;

3 Ma 's e 's gu'n do bhlais sibh[h] gu *bheil* an Tighearn gràsmhor.

4 A' teachd d'a ionnsuidhsan, *mar gu* cloich bheo, a dhiùltadh gu deimhin le daoinibh, ach air a taghadh o Dhia *agus* luachmhor:

5 Tha sibhse mar an ceudna mar chlochaibh beotha, air bhur togail suas 'nar tigh spioradail, 'nar sagartachd naomha chum ìobairte spioradail a thoirt suas, taitneach do Dhia trìd Iosa Criosd.

6 Uime sin tha so mar an ceudna air a chur sìos anns an scriobtuir, Feuch, cuiream ann an Sion prìomh chlach-oisinne[i], thaghta, luachmhor: agus an ti a chreideas ann[l], cha chuirear gu nàire e.

7 Dhuibhse uime sin a chreideas *tha e*[m] luachmhor: ach dhoibhsan a tha easumhal, a' chlach a dhiùlt na clachairean, rinneadh ceann na h-oisinne dhith,

8 Agus clach-thuislidh, agus carruig oilbheim, *dhoibhsan* a thuislichea air an fhocal, air dhoibh bhi easumhal, chum mar an ceudna an d'orduicheadh iad.

9 Ach *is* ginealach taghta sibhse, sagartachd rioghail, cinneach naomha, sluagh sonraichte[n]; chum gu'n cuireadh sibh an céill feartan[o] an ti a ghairm a dorchadas sibh chum a sholuis iongantaich féin.

10 Nach *robh* uair-eigin[p] 'nar sluagh, ach a nis *is* sibh sluagh Dhé: drean nach d'fhuair tròcair, ach a nis a tha air faotainn tròcair.

11 A mhuinntir mo ghràidh, guidheam oirbh, mar choigrich agus luchd-cuairt, sibh a sheachnadh ana-

[f] *gun urram do neach seach a chéile.* [g] *faitcheas.* [h] *Do bhrigh gu'n do bhlais sibh.* [i] *clach-oisinne àraidh.* [l] *a dh'earbas aisde.* [m] *i.* [n] *dìleas, draid.;* [o] *subhailcean, buaidhean, cliu.* [p] *roimhe.*

mhianna feòlmhor, a tha cogadh an aghaidh an anama;

12 Air dhuibh deadh chaitheadh-beatha bhi agaibh am measg nan Cinneach; chum an àit olc a labhairt umaibh mar luchd mi-ghnìomh, gu'n dean iad o bhur deadh oibribh a chi iad, Dia a ghlòrachadh ann an là an fhiosrachaidh.

13 Uime sin bithibhse ùmhal do gach uile riaghuilt[r] dhaoine air son an Tighearna: ma's ann do'n righ, mar an ti a's àirde inbhe;

14 No do nachdaranaibh, mar do'n mhuinntir a chuireadh uaith chum dioghaltais air luchd dheanamh an uilc, ach chum cliu dhoibhsan a ni maith.

15 Oir is i toil Dé gu'n cuireadh sibhse le deadh dheanadas tosd air aineolas dhaoine amaideach:

16 Mar dhaoine saor, agus gun *bhur* saorsa a ghnàthachadh mar bhrat-folaich do'n olc[s], ach mar sheirbhisich Dhé.

17 Thugaibh urram do na h-uile dhaoine. Gràdhaichibh na bràithre. Biodh eagal Dé oirbh. Thugaibh urram do'n righ.

18 A sheirbhiseacha, *bithibh* ùmhal d'*ar* maighstiribh maille ris an uile eagal, ni h-e mhàin dhoibhsan a tha maith agus ciuin, *ach* mar an ceudna dhoibhsan a tha anamèineach[t].

19 Oir *a ta* so cliu-thoillt[illegible] ma dh'iomch[illegible] doilgheas air [illegible] a' fulang gu [illegible]

20 Oir cioc[illegible] *ta ann*, ma's [illegible] oirbh air son [illegible] giùlain sibh g[illegible] ma's e 'nuair [illegible] maith, agus a' [illegible] giùlain sibh e [illegible] taitneach do D[illegible]

21 Oir is an[illegible] *eadh sibh: do* [illegible] *Criosd* mar an [illegible] a' fàgail eisen[illegible] gu leanadh sibh[illegible]

22 Neach n[illegible] mò a fhuaradh [illegible]

23 Neach 'nuair a chàineadh e, nach do chàin a ris; 'nuair a dh'fhuiling e, nach do bhagair; ach a dh'earb e *féin* ris-san a bheir breth cheart:

24 Neach a ghiùlain ar peacannae féin 'na chorp féin air a' chrann, chum air dhuinn bhi marbh do'n pheacadh[b], gu'm bitheamaid beo do fhìreantachd: neach a tha sibh air bhur slànuchadh le a bhuillibh.

25 Oir bha sibh mar chaoraich a' dol air seacharan; ach philleadh sibh a nis chum Buachaille agus Easbuig[c] bhur n-anaman.

CAIB. III.

1 *Tha e teagasg dleasdanais bhan agus fhear-pòsda d'a chéile,* 8 *ag earalachadh nan uile dhaoine chum aonachd agus gràidh,* 14 *agus geurleanmhuinn fhulang:* 19 *Tha e mar an ceudna a' cur an céill sochairean Chriosd do'n t-seann saoghal.*

MAR an ceudna, a mhnài, *bithibh* ùmhal d'ar fearaibh féin, chum ma tha droing air bith easùmhal do'n fhocal, gu'm bi iadsan mar an ceudna, as eugmhais an fhocail, air an cosnadh le deadh chaitheadh-beatha nam ban.

2 'Nuair a bheachdaicheas iad air bhur caitheadh-beatha gheanmnaidh maille ri h-eagal.

3 [illegible] b'i bhur breaghachd, figh[illegible] fhuilt agus a' cur òir *oirbh*, [illegible] eadh thrusgan umaibh, *a'* [illegible] *sin* o'n leth muigh:

4 [illegible] duine folaicht' a' chridhe, [illegible] neo-thruaillidheachd spioraid [illegible] agus chiuin, ni a tha [illegible] mhor ann an sealladh Dhé.

5 [illegible] *b'ann mar so a rinn na mnài* [illegible] *o shean*, aig an robh am [illegible] ann an Dia, iad féin [illegible] air dhoibh bhi ùmhal d'am [illegible] féin;

6 [illegible] il a thug Sara ùmhlachd do [illegible] am, a' gairm tighearna [illegible] d'an 'nigheana sibhse am [illegible] i sibh gu maith, agus [illegible] oirbh le h-uabhas sam [illegible]

r ordugh, shuidheachadh. [illegible] *crosda.* *u air ar son-ne.* *a againn.* *b air* [illegible] *peacaibh.* [illegible] *fir-coimhid, fir-amhairc thairis.*

7 Mar an ceudna, fheara, gabhaibh a chòmhnuidh maille riu a réir eòlais, a' tabhairt urraim do'n mhnaoi mar an soitheach a's anmhuinne, agus mar mhuinntir a tha 'nan comh-oighreachaibh air gràs na beatha; chum nach cuirear bacadh air bhur n-ùrnuighibh.

8 Fa dheoidh, *bithibh* uile a dh'aon inntinn, biodh comh-fhulangas agaibh r'a chéile[c], gràdhaichibh a chéile mar bhràithre, *bithibh* truacanta, càirdeil:

9 Na ìocaibh olc air son uilc, no càineadh air son càinidh: ach 'na aghaidh sin, beannuichibh; air dhuibh fios bhi agaibh gur ann chuige so a ghairmeadh sibh, chum gu'n sealbhaicheadh sibh beannachadh mar oighreachd:

10 Oir ge b'e le'm b'àill beatha a ghràdhachadh, agus làithean maithe fhaicinn, cumadh e theanga o olc, agus a bhilean o labhairt ceilg.

11 Seachnadh e olc, agus deanadh e maith; iarradh e sìth, agus leanadh e i.

12 Oir *tha* sùilean an Tighearn air na fìreanaibh, agus a chluasa fosgailte r'an ùrnuigh: ach *tha* gnùis an Tighearna an aghaidh na muinntir a ni olc.

13 Agus cò e a ni olc oirbh, ma bhios sibh 'nar luchd-leanmhuinn air an ni[f] sin a ta maith?

14 Ach eadhon ma dh'fhuilingeas sibh air sgàth fìreantachd, *is* sona sibh: agus na'biodh fiamh an eagailsan oirbh, agus na bithibh mi-shuaimhneach;

15 Ach naomhaichibh an Tighearn Dia ann bhur cridhibh: agus *bithibh* ullamh a ghnàth chum freagradh a thoirt maille ri ceannsachd agus eagal, do gach uile dhuine a dh'iarras oirbh reuson an dòchais a tha annaibh:

16 Air dhuibh deadh choguis a bhi agaibh; chum 'nuair a tha iad a' labhairt uile 'nar n-aghaidh mar luchd mi-ghnìomh, gu'n gabh iadsan nàire a tha toirt toibheim d'ar deadh chaitheadh-beatha ann an Criosd.

17 Oir *is* fearr, ma's e sin toil Dé, sibh a dh'fhulang air son maith a dheanamh, na air son olc a dheanamh.

18 Oir dh'fhuiling Criosd féin aon uair air son peacaidh, am fìrean air son nan neo-fhìrean, (chum gu'n d'thugadh e sinne gu Dia) air dha bhi air a chur gu bàs san fheòil, ach air a bheothachadh trid an Spioraid:

19 Leis an deachaidh e mar an ceudna, agus an do shearmonaich e do na spioradaibh ann am prìosun;

20 A bha o shean easumhal, 'nuair a dh'fheith fad-fhulangas Dé aon uair ann an làithibh Noe, am feadh a bha àirc 'ga h-ulluchadh, anns an robh beagan, sin r'a ràdh, ochd anaman, air an tearnadh trid uisge.

21 Tha'm baisteadh, mar shamhlachas a tha coimh-fhreagradh dha so (cha'n e cur dhinn sal na feòla, ach freagradh deadh choguis thaobh Dhé) nis 'gar tearnadhne, trìd aiseirigh Iosa Criosd:

22 Neach air dha dol gu nèamh, a tha air deas làimh Dhé, air do ainglibh, agus do uachdranachdaibh, agus do chumhachdaibh bhi air an cur fuidh cheannsalsan[g].

C A I B. IV.

1 *Tha e 'gar earalachadh gu sgur do pheacadh o eisempleir Chriosd, agus do bhrigh gu bheil a' chrìoch dheireannach a' dlùth-theannadh oirnn: 12 agus a' toirt comhfhurtachd dhoibh an aghaidh geur-leanmhuinn.*

UIME sin o dh'fhuiling Criosd air ar soinne san fheòil, armaichibhse mar an ceudna sibh féin leis an inntinn cheudna: oir an tì a dh'fhuiling anns an fheòil, sguir e do pheacadh;

2 Chum nach caitheadh e fuigheall aimsire anns an fheòil, a réir anamhianna dhaoine, ach a réir toile Dé.

3 Oir is leoir dhuinn a' chuid a chaidh seachad do aimsir ar beatha gu toil nan Cinneach a dheanamh, 'nuair a shiubhail sinn ann am macnus[h], ann an ana-mhiannaibh, ann an anabharra fìona, ann an geòcaireachd[i], ann am pòitearachd, agus ann an ìodhol-aoradh an-dligheach[l]:

4 Ni anns am bheil iad a' gabhail

[c] *bithibh iochdmhor r'a chéile.* [f] *an Ti.* [g] *a mharasglachd, a smachd,* [h] *truisealachd,* [i] *craos.* [l] *gràineil.*

iongantais, do bhrigh nach 'eil sibhse
a' ruith maraon riu anns an neo-
mheasarrachd cheudna gun tomhas,
a' labhairt uilc *umaibh :*
5 Muinntir a bheir cunntas dhasan,
a tha ullamh gu breth a thoirt air na
beothaibh agus air na marbhaibh.
6 Oir is ann chum na crìche so a
shearmonaicheadh an soisgeul dhoibh-
san a tha marbh mar an ceudna, chum
gu'n d'thugtadh breth orra a réir
dhaoine san fheòil, ach gu'm biodh
iad beo a réir Dhé san Spiorad.
7 Ach a ta crioch nan uile nithe am
fagus : uime sin bithibh measarra [m],
agus deanaibh faire chum ùrnuigh.
8 Agus roimh na h-uile nithibh
biodh agaibh teas-ghràdh d'a chéile ;
oir cuiridh gràdh folach air mòran
pheacanna.
9 Thugaibh aoidheachd d'a chéile
gun ghearan.
10 A réir mar a fhuair gach aon
an tiodhlac, *mar sin* deanaibh frith-
ealadh d'a chéile, mar dheadh stiùbh-
ardaibh air gràs eagsamhuil Dé.
11 Ma labhras neach sam bith,
labhradh e mar bhriathraibh [n] Dhé :
ma tha neach sam bith ri frithealadh,
deanadh se e mar o'n chomas a [illegible]
Dia *dha ;* chum gu'm bi Dia [illegible]
ghlòrachadh anns na h-uile n[illegible]
trìd Iosa Criosd : [illegible] gu [illegible]
glòir agus cumha[illegible] ogha[illegible]
saoghal. Am[illegible]
12 A [illegible]
biodh [illegible]
deucha[illegible]
bhur d[illegible]
ni-eigin [illegible]
13 Ach [illegible]
'nar lucho[illegible]
asaibh Chri[illegible]
chum mar a[illegible]
seachaidh a [illegible]
gairdeachas le [illegible]
14 Ma mha[illegible]
ainme Chriosd, [illegible]
Spiorad na glòir[illegible]
a'l còmhnuidh o[illegible]
gu deimhin tha e [illegible]
ach d'ar taobhsa tha [illegible] ghlòrach-
adh.
15 Ach na fuilingeadh aon agaibh
mar mhortair, no *mar* ghaduiche, no
mar fhear droch-bheirt, no mar neach
a ghabhas gnothuch re nithibh nach
buin da.
16 Gidheadh ma *dh'fhuilingeas
duine* mar Chriosduidh, na biodh
nàire air ; ach thugadh e glòir do
Dhia as a leth so.
17 Oir *thainig* an t-àm anns an
tòisich breitheanas aig tigh Dhé :
agus ma thòisicheas e againne, ciod *is*
crioch dhoibhsan a tha easumhal do
shoisgeul Dé ?
18 Agus ma's ann air éigin a thearn-
ar am fìrean, c'àit an taisbein an
duine mi-dhiadhaidh agus am peacach
e féin ?
19 Uime sin, an dream a dh'fhuil-
ingeas a réir toile Dé, earbadh iad an
anama *ris-san* ann an deanamh maith,
mar ri Cruithear dìleas.

CAIB. V.

1 *Tha e cur impidh air na seanairibh
treud Dhé a bheathachadh ; 5 air
an òigridh bhi ùmhal, 8 agus orra
uile bhi stuama, faireil, agus daing-
ean sa' chreidimh ; 9 cur an agh-
[illegible]idh ar nàmhaid an-iochdmhoir an
[illegible]abhol.*

[illegible] A seanairean a tha 'nar measg
[illegible] earalaicheam, air bhi dhomh
[illegible]'m' sheanair mar an ceudna,
[illegible] a'm' fhianuis air fulangasaibh
Chriosd, agus mar an ceudna a'm'
fhear comhpairt do'n ghlòir sin a tha
gu bhi air a foillseachadh :
2 [illegible]haichibh treud Dhé a tha
'nar measg, a' gabhail cùraim *dheth,*
[illegible] dh'aindeoin, ach gu deòn-
[illegible]ann air son buannachd
[illegible] le h-inntinn ealaimh ;
3 [illegible] mar thighearnaibh os ceann
[illegible] *Dhé,* ach mar dhroing a
[illegible]pleiribh do'n treud.
4 Agus [illegible]air a dh'fhoillsichear
[illegible]haille [o], gheibh sibh
[illegible] nach searg as.
5 [illegible] ceudna, dhaoine òga,
[illegible] do na seanairibh :
[illegible] bithibh uile ùmhal d'a chéile,
agus bithibh air bhur sgeadachadh le
h-irioslachd : oir tha Dia a' cur an
aghaidh nan uaibhreach, ach a' toirt
gràis dhoibhsan a tha iriosal.
6 Uime sin ìslichibh sibh féin

[m] *stuama,* [n] *oracla,* [o] *an t-àrd aodhaire,*

fuidh làimh chumhachdaich Dhé,
chum as gu'n àrduich e sibh ann an
àm iomchuidh :
7 A' tilgeadh bhur n-uile chùraim[p]
airsan, oir a ta cùram aige dhibh.
8 Bithibh stuama, deanaibh faire;
do bhrigh gu bheil bhur nàmhaid an
diabhol, mar leòmhan beuchdach, ag
imeachd mu'n cuairt, a' sireadh cò a
dh'fheudas e shlugadh suas.
9 Cuiribhse 'na aghaidh, air dhuibh
bhi daingean sa' chreidimh, agus fhios
a bhi agaibh gu bheil na fulangais
cheudna air an coimhlionadh ann
bhur bràithribh a tha san t-saoghal.
10 Ach gu deanadh Dia féin nan
uile ghràs, a ghairm sinne chum a
ghlòire shiorruidh trìd Iosa Criosd,
an déigh dhuibh fulang rè uine bhig,
iomlan sibh; gu daingnicheadh, gu
neartaicheadh, gu socraicheadh e sibh.
11 Dhasan *gu robh* glòir agus
cumhachd, gu saoghal nan saoghal.
Amen.
12 Le Silumus bràthair dìleas (a
réir mo bharailse) scrìobh mi chug-
aibh[r] gu h-aithghearr, a' teagasg,
agus a' deanamh fianuis, gur e so fìor
ghràs Dé anns am bheil sibh 'nar
seasamh.
13 Tha'*n eaglais* ann am Babilon
a thaghadh maraon ribhse, a' cur
fàilte oirbh, agus Marcus mo mhac.
14 Cuiribh fàilte air a chéile le
pòig ghràidh. Sìth *gu robh* maille
ribh uile a tha ann an Iosa Criosd.
Amen.

DARA LITIR CHOITCHIONN AN ABSTOIL PHEADAIR.

CAIB. I.

1 *Chum an daingneachadh an dòchas meudachaidh gràis Dé, 5 tha e cur impidh orra le creidimh agus deadh oibribh, an gairm a dheanamh cinnteach : 12 tha e cùramach mu so chur an cuimhne dhoibh, do bhrigh gu bheil fios aige a bhàs bhi 'm fagus : 16 agus tha e toirt rabhaidh dhoibh bhi bunaiteach ann an creidimh Chriosd, &c.*

SIMON Peadar, seirbhiseach agus
abstol Iosa Criosd, dhoibhsan
a fhuair creidimh co luachmhor
ruinne, trìd fìreantachd ar Dé agus
ar Slanuighir[s] Iosa Criosd :
2 Gu robh gràs agus sìothchaint
air am meudachadh dhuibh, trìd eòlais
Dé, agus Iosa ar Tighearna,
3 A réir mar a dheònuich a chumh-
achd diadhuidhsan dhuinne na nithe
sin uile *a bhuineas* do bheatha agus
do dhiadhachd, trìd eòlais an ti sin a
ghairm sinn chum glòire, agus
cruadail[t] :
4 Trìd an d'thugadh dhuinn geall-
anna ro mhòr agus luachmhor, chum
trìdsan gu'm biodh sibhse air bhur
deanamh 'nar luchd comh-pairt do
nàdur na diadhachd, air dhuibh dol
as o'n truaillidheachd a ta anns an
t-saoghal trìd anamhiann.
5 Agus a thuilleadh air so[u], air
deanamh an uile dhìchill duibhse,
cuiribh r'ar creidimh cruadal; agus
ri cruadal, eòlas;
6 Agus ri h-eòlas, stuaim[a]; agus
ri stuaim, foighidin; agus ri foigh-
idin, diadhachd;
7 Agus ri diadhachd, gràdh bràth-
aireil agus ri gràdh bràthaireil,
seirc[b].

[p] *ro-chùraim.* [r] *thugaibh, do'r n-ionnsuidh.* [s] *fìreantachd Dhé agus ar Slànuighir.* [t] *subhailc, deadh-bheus.* [u] *chum na crìche so.* [a] *measarrachd.* [b] *gràdh, carthanachd.*

8 Oir ma bhios na nithe so annaibh, agus pailte, bheir iad *oirbh* gun bhi leasg, no mi-thorrach ann an eòlas ar Tighearna Iosa Criosd.

9 Ach an ti aig nach 'eil na nithe sin, tha e dall, agus gearr-sheallach[c], a' di-chuimhneachadh gu'n do ghlanadh e o a sheann pheacaibh.

10 Uime sin, a bhràithre, deanaibh tuilleadh dichill chum bhur gairm agus bhur taghadh a dheanamh cinnteach: oir ma ni sibh na nithe so, cha tuit sibh a choidhch:

11 Oir mar sin frithealar gu pailt dhuibh slighe a steach do rioghachd shiorruidh ar Tighearna agus ar Slànuighir Iosa Criosd.

12 Uime sin cha dearmad mi na nithe so ghnàth-chur an cuimhne dhuibh, ge d' is aithne dhuibh *iad*, agus ge do tha sibh air bhur dàingneachadh san fhìrinn a làthair.

13 Ach measam gur còir, am feadh's a ta mi sa' phàilliunn[d] so, sibhse a bhrosnachadh le'r cur an cuimhne:

14 Air dhomh fios a bhi agam gur fagus dhomh à[illegible] mo phailliuin so, am[illegible] ar Tighearn Iosa [illegible]

15 Ach ni mise [illegible] déigh dhomh siub[illegible] se gnàth-chuimhne [illegible]

16 Oir cha d[illegible] sgeulachda a dhe[illegible] leachdach, 'nuair [illegible] duibh cumhachd agus teachd ar Tighearna Iosa Criosd, ach rinneadh sinn 'nar sùil-fhianuisibh air a mhòrachdsan.

17 Oir fhuair e o Dh[illegible] Athair onoir agus glòir, 'nuair [illegible] shamhuil so do ghuth [illegible] o'n ghlòir oirdheirc[e], [illegible] mo Mhac gràdhachsa, le'm [illegible] toilichte.

18 Agus chuala sinne an [illegible] thainig o nèamh, 'nuair [illegible] maille ris air an t-sl[illegible]

19 Tha againn [illegible] focal fàidheadaireachd [illegible] d'am maith a ni sib[illegible] do lòchran a tha t[illegible] an ionad dorcha, gus an soillsich an là, agus an éirich an reult-mhaidne 'nar cridheachaibh:

20 Air dhuibh fhios so a bhi agaibh air tùs, nach 'eil fàidheadaireachd air bith do'n scriobtuir o thogradh *dhaoine* féin.

21 Oir cha d'thainig an fhàidheadaireachd a réir toil duine o shean: ach labhair daoine naomha Dhé mar a sheòladh iad leis an Spiorad naomh.

CAIB. II.

1 *Tha e roimh-innseadh mu thimchioll luchd-teagaisg bréige, a' nochdadh am mi-dhiadhachd, agus an sgrios a thig faram orra féin agus air an luchd-leanmhuinn; 7 o'n saorar daoine diadhaidh, mar a shaoradh Lot a Sodom; &c.*

ACH bha fàidhean bréige mar an ceudna am measg an t-sluaigh, amhuil a bhios luchd-teagaisg bréige 'nar measgsa, droing a bheir a steach os ìosal saobh-chreidimh[f] millteach, eadhon ag àicheadh an Tighearna a cheannaich iad, agus a bheir sgrios [illegible] orra féin.

2 [illegible]dh mòran an slighe[illegible] trìd am faigh slighe [illegible]u.

3 [illegible]annt ni iad ceann[illegible] le briathraibh mealltach: [illegible] breitheanas a nis [illegible]amh moille, agus [illegible]grios a' turr-chod[illegible]

4 Oir mur do chaomhain Dia na h-aingil a pheacaich, ach air dha an tilgeadh sìos do ifrinn, gu'n d'thug e [illegible] *iad* gu bhi air an coimhead [illegible] slabhraidhibh dorchadais, fa [illegible]ir breitheanais;

5 [illegible]gus nach do chaomhain e an [illegible] saoghal, ach gu'n do shaor e [illegible]n t-ochdamh *pearsa*, searmon[illegible] fìreantachd, air dha an dìlinn[h] [illegible]oirt air saoghal nan daoine mi-[illegible]haidh;

6 Agus a' tionndadh cathraiche [illegible]odoim agus Ghomorra gu luaithre[i], gu'n do dhìt e le léir-sgrios *iad*, 'gan deanamh 'nam ball-sampuill[l] dhoibh-

[c] fa dhoill'-[illegible] [d] bhùthan[illegible] [e] [illegible]-urramaich. [f] dò-bharailean.
[g] elò-[illegible] [illegible] [illegible]uaith. [l] 'nan samhlachas

san a bhiodh mi-dhiadhaidh an déigh
sin ;
7 Agus gu'n do shaor e Lot am
fìrean, a bha fa champar[m] le caith-
eadh-beatha neo-ghloin nan aingidh :
8 (Oir chràidh an t-ionracan sin,
agus e gabhail còmhnuidh 'nam
measg, anam fìreanta o là gu là, le
bhi faicinn agus a' cluinntinn *an*
gnìomharan an-dligheach :)
9 Is aithne do'n Tighearn na
daoine diadhaidh a shaoradh o bhuair-
eadh, agus na daoin' eucorach a
choimhead gu là a bhreitheanais chum
peanas a dhearamh orra :
10 Ach gu h-àraid iadsan a lean-
as an fheòil ann an anamhiann na
neo-ghloine, agus a ni tàir air uachd-
aranachd : Air dhoibh bhi an-dàna,
féin-thoileil, cha'n eagal leo anacainnt
a thoirt dhoibhsan[n] a tha ann an àrd
inbhe :
11 An uair nach toir aingil a's
mò ann an neart agus ann an cumh-
achd, casaid thoibheumach 'nan agh-
aidh[o] am fianuis an Tighearna.
12 Ach iadsan, mar ainmhidhean
nàdurra ea-céillidh, a rinneadh gu
bhi air an glacadh agus an sgrios, air
dhoibh bhi labhairt gu toibheumach
mu na nithibh nach tuig iad, sgriosar
iad 'nan truaillidheachd féin ;
13 Agus gheibh iad tuarasdal na
h-euceirt, *mar* dhream a mheasas mar
shubhachas sògh[p] san là : *is* smala
iad agus aobhar-masluidh[r], a' gabhail
toileachas-inntinn 'nam mealltoir-
eachd féin, am feadh 's a ta iad air
cuirmibh[s] maille ribh ;
14 Aig am bheil an sùilean làn do
adhaltrannas, agus do nach 'eil e'n
comas sgur do pheacadh ; a' mealladh
anaman neo-shuidhichte ; aig am
bheil an cridhe air a chleachdadh ri
gnìomharaibh sanntach ; clann nam
mallachd :
15 A thréig an t-slighe dhìreach,
agus a chaidh air seacharan, a' lean-
tuinn slighe Bhalaaim *mhic* Bhos-
oir[t], a ghràdhaich duais na h-eucor-
ach ;
16 Ach a fhuair ach-mhasan air
son aingidheachd : oir labhair an asal
bhalbh le cainnt duine, agus thoirm-
isg i mi-chiall an fhàidh.
17 Is tobair gun uisge iad so,
neoil air an iomain le h-iomghaoith,
fa chomhair am bheil duibhre[u] an
dorchadais air a thasgaidh gu sìorr-
uidh.
18 Oir an uair a labhras iad
briathran atmhor[a] dìomhanais, meal-
laidh iad tríd anamhianna na feòla,
tríd mhacnuis[b], iadsan a chaidh gu
glan[c] as uathasan a tha caitheadh am
beatha ann an seacharan :
19 A' gealltuinn saorsa dhoibh,
agus gun annta féin ach tràillean na
truaillidheachd : oir ge b'e ni le'm
buadhaichear air duine, do'n ni sin
féin tha e air a chur fuidh dhaorsa.
20 Oir an déigh dhoibh dol as o
shalcharaibh an t-saoghail tríd eòlais
an Tighearna agus an t-Slànuighir
Iosa Criosd, ma bhios iad a rìs air an
ribeadh annta, agus air an cur fuidh
ghéill, tha an deireadh aca ni's measa
na an toiseach.
21 Oir b'fhearr dhoibh gun eòlas a
bhi aca air slighe na fìreantachd, na
an déigh a h-eòlas fhaotainn, pilleadh
o'n àithne naomh a thugadh dhoibh.
22 Ach thachair dhoibh a réir an
t-sean-fhocail fhìrinnich, Phill am
madadh air ais chum a sgeith féin ;
agus, A' mhuc a chaidh nigheadh,
chum a h-aoirneagan[d] san làthaich[e].

CAIB. III.

1 *Tha e toirt cinnte dhoibh mu theachd Chriosd chum breitheanais, an aghaidh luchd-fanoid ; 8 a' toirt rabhaidh do dhaoine mi-dhiadhaidh o fhad-fhoighidin Dé, iad a ghreasadh an aithreachais : 12 tha e mar an ceudna cur an céill am modh air an sgriosar an saoghal so : 11 'gan carachadh o sin chum an uile naomhachd beatha ; &c.*

A Ni dara litir so, a mhuinntir mo
ghràidh, scrìobham chugaibh
a nis ; annta *le chéile* tha mi a' bros-

[m] *air a shàrachadh.* [n] *olc a labhairt umpasan.* [o] *breth mhaslach an aghaidh a chéile.* [p] *deadh-ghleus, deadh theachd-an-tìr.* [r] *aineamha-sal.* [s] *féisdibh.* [t] *Bheoir.* [u] *ceo.* [a] *uaibhreach.* [b] *fhruiscileachd.* [c] *car tamuil bhig.* [d] *a h-aonairt, a h-eabradh.* [e] *sa' chlàbar.*

nachadh bhur n-inntinn fhìor-ghloin le'r cur an cuimhne:

2 Chum gu'm bi sibh cuimhneach air na briathraibh a labhradh roimhe leis na fàidhibh naomha, agus air ar n-àithne-ne, abstola an Tighearna agus an t-Slànuighir:

3 Air dhuibh fhios so bhi agaibh air thùs, gu'n d'thig anns na làithibh deireannach luchd fochaid[f], ag imeachd a réir an anamhiann féin,

4 Agus ag ràdh, C'àit am bheil gealladh a theachd? oir o choidil na h-aithriche, tha na h-uile nithe a' fantuinn mar *a bha iad* o thoiseach a' chruthachaidh.

5 Oir tha iad aineolach air so d'an deoin, gu'n robh na nèamha ann o chian, agus an talamh 'na sheas[illegible] as an uisge, trìd fhòcail [illegible]:

6 Tre'n [illegible] a bha'n sin [illegible] air teachd do'n dìlin[illegible]

7 Ach [illegible] talamh a tha [illegible] leis an fhocal sin féin air a[illegible] suas [illegible] air an gleidhead[illegible] air chionn là a' bhreitheanais, agus sgrios dhaoine ain[illegible]

8 Ach, a mhuinntir mo ghràidh, na bithibhse aineolach [illegible] so: *Gu bheil* aon là aig an Tighearn mar mhìle bliadhna, agus mìle bliadhna mar aon là.

9 Cha 'n'eil an Tighearn mall a thaobh a' ghea[illegible] dream àraidh n[illegible] fhulangach d'ar [illegible] aige dream sam b[illegible] ach na h-uile *dhaoine* [illegible] gu h-aithreachas.

10 Ach thig là an Tighearna mar ghaduiche san oidhche; anns [illegible] d'théid na nèamh[illegible] mhòir, agus *anns* [illegible] le dian theas; agus [illegible] mar an ceudna agus na h-oibre a ta air, air an losgadh suas.

11 Uime sin do bhrigh gu'm bi na nithe so uile air an sgaoileadh as a chéile, ciod a' ghnè dhaoine bu chòir a bhi annaibh, ann an caitheadh-beatha naomha, agus diadhachd,

12 Le sùil a bhi agaibh ri, agus luathachadh[g] chum teachd là Dhé, anns am bi na nèamha, air dhoibh bhi ri theine, air an sgaoileadh o chéile, agus anns an leaghar na dùile le dian theas?

13 Gidheadh tha dùil againne ri nèamhaibh nuadh agus talamh nuadh, a réir a ghealláidh, anns am còmhnuich fìreantachd.

14 Uime sin, a mhuinntir ionmhuinn, o tha dùil agaibh ris na [illegible] sin, deanaibh bhur dìchioll [illegible] gu faighear leis-san ann an [illegible] sibh, gun smal agus neo-lochdach:

15 Agus measaibh gur slàinte fad-fhulangas ar Tighearna; amhuil a [illegible] mar an ceudna ar bràthair gradh[illegible] Pòl, a réir a' ghliocais a [illegible] dha, d'ar n-ionusuidh;

16 Amhuil mar 'na litrichibh uile, a' labhairt aunta mu na nithibh so: anns am bheil cuid do nithibh do-thuigsinn, a tha an droing a tha neo-[illegible] agus neo-sheasmhach a' [illegible] amhuil mar na scriobtuirean eile, chum an sgrios féin.

17 Ach sibhse, a mhuinntir mo ghràidh, [illegible] aithne dhuibh *na nithe so* [illegible], thugaibh aire an t-eagal air [illegible] mar an ceudna bhi air [illegible] air falbh le seacharan [illegible] aindiadhaidh, gu'n tuit sibh o bhur [illegible]asmhachd féin.

18 Ach [illegible] ann an gràs, agus [illegible] ar Tighearna agus ar Slànuighir [illegible] Criosd. Dhasan *gu* [illegible] a nis agus gu siorruidh[h]. Amen.

[f] *fanoid, sgeige.* [g] *[illegible]* [h] *gu là na siorruidheachd.*

CEUD LITIR CHOITHIONN AN ABSTOIL EOIN.

1 *Tha e labhairt mu phearsa Chriosd, anns am bheil againn beatha mhaireannach, thaobh comh-chomuinn ri Dia; 5 ris an éigin duinn naomhachd beatha a chur, &c.*

AN ni a bha ann o thùs, an ni a chuala sinne, a chunnaic sinn le'r sùilibh, air an d'amhairc sinn, agus a làimhsich ar làmha thaobh focail na beatha;
2 (Oir dh'fhoillsicheadh a' bheatha, agus chunnaic sinne *i*, agus tha sinn a' deanamh fianuis, agus a' cur an céill dhuibhse na beatha maireannaich ud a bha maille ris an Athair, agus a dh'fhoillsicheadh dhuinne.)
3 An ni a chunnaic agus a chuala sinn, tha sinn a' cur an céill duibhse, chum gu'm bi agaibhse mar an ceudna comunn ruinne: agus gu firinneach tha ar comunn-ne ris an Athair, agus r'a Mhac Iosa Criosd.
4 Agus tha sinn a' sgrìobhadh nan nithe so d'ar n-ionnsuidh, chum gu'm bi bhur gairdeachas coimhlionta.
5 Agus is i so an teachdoireachd a chuala sinn uaithsan, agus a tha sinn a' cur an céill dhuibhse, Gur solus Dia, agus nach 'eil dorchadas air bith annsan.
6 Ma their sinn gu bheil comunn againn ris[1], agus sinn a' gluasad ann an dorchadas, tha sinn a' deanamh bréige, agus cha 'n'eil sinn a' deanamh na fìrinn:
7 Ach ma ghluaiseas sinn anns an t-solus, mar a tha esan san t-solus, tha comunn againn r'a chéile, agus glanaidh fuil Iosa Criosd a Mhic sinn o gach uile pheacadh.
8 Ma their sinn nach 'eil peacadh againn, tha sinn 'gar mealladh féin, agus cha 'n'eil an fhìrinn annainn.
9 Ma dh'aidicheas sinn ar peacanna, tha esan fìrinneach agus ceart, chum ar peacanna a mhaitheadh dhuinn, agus a glanadh o gach uile neo-fhìreantachd.
10 Ma their sinn nach do pheacaich sinn, tha sinn a' deanamh breugaire dhethsan, agus cha 'n'eil fhocal annainn.

CAIB. II.

1 *Tha e toirt comhfhurtachd dhoibh an aghaidh peacaidh anmhuinneachd. 3 'Se fìor eòlas Dè àitheantan a choimhead, 9 ar bràithrean a ghràdhachadh, 15 agus gun ghaol a thoirt do'n t-saoghal. 18 Is éigin duinn bhi air ar faicill an aghaidh luchd-meallaidh: &c.*

MO chlann bheag, na nithe so ta sgrìobham d'ar n-ionnsuidh, chum nach peacaich sibh. Agus ma pheacaicheas neach air bith, tha feartagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Criosd am fìrean:
2 Agus is esan an ìobairt-réitich air son ar peacaidhne; agus cha'n e air son ar peacaidhne mhàin, ach mar an ceudna air son *peacaidh* an t-saoghail uile.
3 Agus le so tha fhios againn gur aithne dhuinn e, ma choimhideas sinn àitheanta.
4 An ti a their, Is aithne dhomh e, agus nach 'eil a' coimhead àitheanta, is breugaire e, agus cha 'n'eil an fhìrinn ann.
5 Ach ge b'e choimhideas fhocal, annsan gu deimhin tha gràdh Dhé air a choimhlionadh: le so is aithne dhuinn gu bheil sinn annsan.
6 An ti a their gu bheil e fantuinn annsan, is còir dhasan mar an ceudna gluasad, eadhon mar a ghluais esan.

[1] caidreabh againn ris.

7 A bhràithre, ni'n scrìobham
àithne nuadh chugaibh, ach seann
àithne, a bha agaibh o'n toiseach:
's i 'n t-seann àithne am focal a
chuala sibh o thùs.
8 A ris, scrìobham àithne nuadh
chugaibh, ni a ta fìor annsan agus
annaibhse: do bhrigh gu'n d'imich
an dorchadas thairis, agus gu bheil
a nis an solus fìor a dealrachadh.
9 An ti a their gu bheil e san
t-solus, agus a tha fuathachadh a
bhràthar, tha e san dorchadas gus a
nis.
10 An ti aig am bheil gràdh d'a
bhràthair, tha e 'na chòmhnuidh san
t-solus, agus cha 'n'eil aobhar oil-
bheim air bith ann.
11 Ach an ti a ta fuathachadh a
bhràthar, tha e anns an dorchadas,
agus ag imeachd anns an dorchadas,
agus cha'n aithne dha c'àit am bheil
e dol, do bhrigh gu'n do dhall an
dorchadas a shùilean.
12 Scrìobham d'ar n-ionnsuidh, a
chlann bheag, do bhrigh gu bheil
bhur peacanna air am maitheadh
dhuibh air sgàth ainme-san.
13 Scrìobham d'ar n-ionnsuidh,
aithriche, do bhrigh gu'm b'aithne
dhuibh esan [illegible]
d'ar n-ion[illegible]
bhrigh gu'n [illegible]
an droch [illegible]
n-ionnsuidh, a [illegible]
gu'm b'aithn[illegible]
14 Scriob[illegible]
aithriche, d[illegible]
dhuibh an [illegible]
Scriobh mi [illegible]
acha, do bhrig[illegible]
agus gu bheil focal [illegible]
nuidh annaibh, [illegible]
sibh buaidh a[illegible]
15 Na gr[illegible]
no na nithe [illegible]
ghràdhaichea[illegible]
saoghal, cha '[illegible]
16 Oir na [illegible]
t-saoghal, an[illegible] agus
anamhiann nan sùl, agus uabhar na
beatha, cha'n ann o'n Athair a tha
iad, ach o'n t-saoghal.
17 Agus siubhlaidh an saoghal
seachad, agus anamhiann: ach an ti
a ni toil Dè, mairidh e choidhch.
18 A chlann bheag, 's i 'n aimsir
dheireannach a tha ann: agus mar
a chuala sibh gu'n d'thig an t-ana-
criosd, is ann mar sin a ta nis
iomad anacriosd ann; o'm bheil
sinn a' tuigsinn gur i'n aimsir dheir-
eannach a ta ann.
19 Chaidh iad a mach uainne, ach
cha robh iad dhinn: oir nam biodh
iad dhinn, gu deimhin dh'fhanadh
iad maille ruinn: ach chaidh iad a
mach, chum gu deantadh follaiseach
iad, nach robh iad uile dhinn.
20 Ach tha agaibhse ùngadh o'n ti
naomha, agus is aithne dhuibh na
h-uile nithe.
21 Cha do scrìobh mi d'ar n-ionn-
suidh, do bhrigh nach aithne dhuibh
an fhìrinn; ach do bhrigh gur aithne
dhuibh i, agus nach 'eil breug air
bith o'n fhìrinn.
22 Cò a tha 'na bhreugaire, ach
esan a dh'àicheadhas gur e Iosa an
Criosd? 's e so an t-anacriosd, a tha
'g àicheadh an Athar agus a' Mhic.
23 Ge b'e neach a dh'àicheadhas
am Mac, cha n'eil an t-Athair aige:
[ach an ti a dh'aidicheas am Mac,
tha an t-Athair aige mar an ceud-
na.]
[illegible] Uime sin fanadh an ni sin
[illegible]ibhse a chuala sibh o thùs. Ma
[illegible]anas an ni a chuala sibh o thùs
[illegible]bh, fanaidh sibhse mar an ceudna
[illegible] a' Mhac, agus anns an Athair.
[illegible] Agus is e so an gealladh a
[illegible] e dhuinn, eadhon a' bheatha
[illegible]eannach.
26 Scrìobh mi na nithe so d'ar
[illegible]suidh, mu thimchioll na
[illegible]e a tha 'gar mealladh.
[illegible] Ach tha an t-ùngadh a fhuair
[illegible] uaithsan, a' fantuinn annaibh:
[illegible] cha 'n'eil feum agaibh gu'n
[illegible]geadh aon neach sibh. Ach,
[illegible] a ta an t-ùngadh so fèin 'gar
[illegible] mu thimchioll nan uile nithe,
[illegible] a ta e fìor, agus nach breug
[illegible]on mar a theagaisg e sibh,
fanaibh ann.
28 Agus a nis, a chlann bheag,
fanaibh annsan; chum 'nuair a
dh'fhoillsichear e, gu'm bi dànachd
againn, agus nach bi nàire oirnn 'na
làthair aig a theachd.
29 Ma tha fhios agaibh gu bheil

esan fìreanta, tha fhios agaibh gu
bheil gach neach a ni fìreantachd,
air a ghineamhuinn[l] uaithsan.

CAIB. III.

*1 Tha e cur an céill gràidh iongan-
taich Dhé dhuinne, ann sinn a
dheanamh 'nar cloinn dha féin:
3 gur còir dhuinn uime sin àith-
eantan a choimhead le h-urram, 11
agus mar an ceudna gràdh bràth-
aireil a bhi againn d'a chéile.*

FEUCHAIBH, ciod a' ghnè
ghràidh a thug an t-Athair
dhuinne, gu'n goirteadh clann Dé
dhinn! uime sin cha'n aithne do'n
t-saoghal sinn, do bhrigh nach
b'aithne dha esan.
2 A mhuinntir mo ghràidh, a nis
is sinne mic Dhé, agus cha 'n'eil e
soilleir fathast ciod a bhitheas sinn:
ach a ta fhios againn, 'nuair a
dh'fhoillsichear esan, gu'm bi sinn
cosmhuil ris; oir chi sinn e mar a
ta e.
3 Agus gach neach aig am bheil
an dòchas so ann, glanaidh se e féin,
mar a ta esan glan.
4 Ge b'e neach a ni peacadh, tha
e mar an ceudna a' briseadh an
lagha: oir is e am peacadh briseadh
an lagha.
5 Agus tha fhios agaibh gu'n
d'fhoillsicheadh esan chum ar peac-
anna thoirt air falbh; agus cha 'n'eil
peacadh sam bith annsan.
6 Gach neach a dh'fhanas annsan,
cha dean e peacadh: ge b'e air bith
a pheacaicheas, cha 'n fhac e esan,
agus cha robh eòlas aige air.
7 A chlann bheag, na mealladh
neach air bith sibh: an ti a ni
fìreantachd is fìrean e, mar is fìr-
ean esan:
8 An ti a ni peacadh, is ann o'n
diabhol a ta e: oir tha an diabhol a'
peacachadh o thùs. Is ann chum na
crìche so a dh'fhoillsicheadh Mac
Dhé, chum gu'n sgriosadh e oibre an
diabhoil.
9 Ge b'e neach a ghineadh o
Dhia, cha dean e peacadh: oir a ta a
shìolsan a' fantuinn ann: agus cha
'n'eil e 'n comas da peacadh a dhean-
amh, do bhrigh gu'n do ghineadh o
Dhia e.
10 An so tha clann Dé, agus
clann an diabhoil follaiseach: Ge b'e
neach nach dean fìreantachd, cha'n
ann o Dhia a tha e, no an ti nach
gràdhaich a bhràthair.
11 Oir is i so an teachdaireachd a
chuala sibh o thùs, sinn a thoirt
gràidh d'a chéile:
12 Cha'n ann mar Chain, a bha
o'n droch aon, agus a mharbh a
bhràthair: Agus c'ar son a mharbh
se e? A chionn gu'n robh oibre féin
olc, agus *oibre* a bhràthar fìreanta.
13 Na biodh ioghnadh oirbh, mo
bhràithre, ge do dh'fhuathaicheas an
saoghal sibh.
14 Tha fhios againn gu'n deach-
aidh sinn thairis o bhàs gu beatha, do
bhrigh gu bheil gràdh againn do na
bràithribh: an ti nach gràdhaich a
bhrathair, fanuidh e ann am bàs.
15 Gach neach a dh'fhuathaicheas
a bhràthair, is mortair[m] e; agus tha
fhios agaibh nach 'eil aig mortair
sam bith a' bheatha mhaireannach a'
fantuinn ann.
16 Le so is aithne dhuinn gràdh
Dhé, do bhrigh gu'n do chuir esan
sìos anam féin air ar soinne: agus is
còir dhuinne *ar* n-anama féin a chur
sìos air son nam bràithre.
17 Agus ge b'e neach aig am
bheil maoin an t-saoghail so, agus a
chi a bhrathair ann an uireasbhuidh,
agus a dhruideas a chridhe 'na aghaidh,
cionnus a tha gràdh Dhé a
gabhail còmhnuidh ann?
18 Mo chlann bheag, na gràdh-
aicheamaid ann am focal, no ann an
teangaidh, ach ann an gnìomh agus
ann am fìrinn.
19 Agus le so is aithne dhuinn gu
bheil sinn do'n fhìrinn, agus bheir
sinn dearbh-beachd[n] d'ar cridhibh
'na làthair.
20 Oir ma dhìteas ar cridhe sinn,
is mò Dia na ar cridhe, agus is aithne
dha na h-uile nithe.
21 A mhuinntir mo ghràidh, mur
dit ar cridhe sinn, tha dànachd againn
a thaobh Dhé.
22 Agus ge b'e ni a dh'iarras sinn,

[l] *air a bhreith.* [m] *duin'-mharbhaiche.* [n] *cinnteachd.*

gheibh sinn uaith e, do bhrigh gu
bheil sinn a' coimhead àitheantan,
agus a' deanamh nan nithe a tha tait-
neach 'na fhianuis-san.
23 Agus is i so àithne-san, gu'n
creideamaid ann an ainm a Mhic
Iosa Criosd, agus gu'n gràdhaich-
eamaid a chéile, mar a thug esan
àithne dhuinn.
24 Agus an ti a choimhideas
àitheanta-san, tha e gabhail còmh-
nuidh ann, agus esan annsan: agus
le so is aithne dhuinn gu bheil esan
a' fuireach annainn, o'n Spiorad a
thug e dhuinn.

C A I B. IV.

1 *Tha e toirt rabhaidh dhoibh gun iad a chreidsinn gach uile luchd-teagaisg a ni bòsd as an Spiorad, ach an dearbhadh le riaghailtibh a' chreidimh choitchionn: 7 agus tha e le h-iomadh reuson 'gam brosnachadh gu gràdh bràthaireil.*

A MHUINNTIR ionmhuinn,
na creidibh gach uile spiorad,
ach dearbhaidh na spioradan, an ann
o Dhia a tha iad: do bhrigh gu bheil
mòran do fhàidhibh bréige air dol a
mach do'n t-saoghal.
2 Le so aithnichibh Spiorad Dhé:
gach uile spiorad a dh'aidicheas gu'n
d'thainig Iosa Criosd 'san fheoil, is
ann o Dhia a tha e.
3 Agus gach uile spiorad nach
aidich gu bheil Iosa Criosd air teachd
'san fheoil, cha'n ann o Dhia a tha
e: agus is e so spiorad sin an ana-
criosd, neach a chuala sibh e bhi
teachd, agus a nis tha e cheana anns
an t-saoghal.
4 A chlann bheag, tha sibhse o
Dhia, agus thug sibh buaidh orrasan;
do bhrigh gur mò esan a ta annaibhse,
na'n ti a ta 'san t-saoghal.
5 Tha iadsan o'n t-saoghal: uime
sin tha iad a' labhairt mu'n t-saoghal,
agus tha'n saoghal ag èisdeachd riu.
6 Tha sinne o Dhia: an ti aig am
bheil eòlas air Dia, èisdidh e rinne:
an ti nach 'eil o Dhia, cha'n èisd e
ruinn. O so aithnichidh sinn spiorad
na fìrinn, agus spiorad an t-seachar-
ain.
7 A mhuinntir ionmhuinn, gràdh-
aicheamaid a chéile: oir is ann o
Dhia tha'n gràdh; agus gach neach
a ghràdhaicheas, ghineadh o Dhia e,
agus is aithne dha Dia.
8 An ti nach gràdhaich, cha'n
aithne dha Dia; oir is gràdh Dia.
9 An so dh'fhoillsicheadh gràdh
Dhé dhuinne, do bhrigh gu'n do
chuir Dia aon-ghin Mhic do'n
t-saoghal, chum gu'm bitheamaid
beo trìdsan.
10 An so a ta gràdh, cha'n e gu'n
do ghràdhaich sinne Dia, ach gu'n
do ghràdhaich esan sinne, agus gu'n
do chuir e a Mhac féin *gu bhi* 'na
iobairt-réitich air son ar peacaidh.
11 A mhuinntir ionmhuinn, ma
ghràdhaich Dia sinne mar sin, tha
dh'fhiachaibh oirnne chéile a ghràdh-
achadh mar an ceudna.
12 Cha'n fhaca neach air bith
Dia riamh. Ma ghràdhaicheas sinn
a chéile, tha Dia 'na chòmhnuidh
annainn, agus tha a ghràdh air a
choimhlionadh annainn.
13 O so is aithne dhuinn gu bheil
sinne 'nar còmhnuidh annsan, agus
esan annainne, do bhrigh gu'n d'thug
e dhuinn d'a Spiorad.
14 Agus chunnaic sinn agus tha
sinn a' deanamh fianuis, gu'n do
chuir an t-Athair am Mac uaith *gu*
bhi 'na Shlànuighear an domhain.
15 Ge b'e neach a dh'aidicheas gur
e Iosa Mac Dhé, tha Dia 'na chòmh-
nuidh annsan, agus esan ann an
Dia.
16 Agus dh'aithnich sinne agus
chreid sinn an gràdh a tha aig Dia
dhuinn. Is gràdh Dia; agus an ti a
tha 'chòmhnuidh ann an gràdh, tha e 'na
chòmhnuidh ann an Dia, agus Dia
annsan.
17 An so tha ar gràdh-ne air a
dheanamh coimhlionta, chum gu'm
bi againn dànachd ann an là a'
bhreitheanais: do bhrigh mar a tha
esan, gur amhuil sin a tha sinne anns
an t-saoghal so.
18 Cha 'n'eil eagal ann an gràdh;
ach tilgidh gràdh diongmhalta ° an
t-eagal a mach; do bhrigh gu bheil
pian san eagal: an ti a tha eagalach,

° iomlan, foirfe.

cha d'rinneadh coimhlionta ann an
gràdh e.
19 Tha gràdh againne dhasan, do
bhrigh gu'n do ghràdhaich esan
sinne an toiseach.
20 Ma their neach, Tha gràdh
agam do Dhia, agus fuath aige d'a
bhràthair, is breugaire e: oir an ti
nach gràdhaich a bhràthair a chunn-
aic e, cionnus a dh'fheudas e Dia
nach fac e, a ghràdhachadh?
21 Agus an àithne so tha againn
uaithsan, An ti a ghràdhaicheas Dia,
gu'n gràdhaich e a bhràthair mar an
ceudna.

CAIB. V.

1 *An ti leis an ionmhuinn Dia, is ionmhuinn leis a chlann, agus coimhididh e àitheantan, a ta eutrom, so-choimhead do na creidmhich. 9 'Se Iosa Mac Dhé, agus tha e comasach air sinne a shlànuchadh, 14 agus air ar n-ùrnuighean a fhreagairt, a ni sinn air ar son féin, agus air son muinntir eile.*

GE b'e neach a chreideas gur e
Iosa an Criosd, ghineadh o
Dhia e; agus ge b'e ghràdhaicheas an
ti a ghin, gràdhaichidh e mar an
ceudna an ti a ghineadh leis.
2 O so is aithne dhuinn gu bheil
gràdh againn do chloinn Dé, 'nuair
a ghràdhaicheas sinn Dia, agus a
choimhideas sinn àitheanta.
3 Oir is e so gràdh Dhé, sinn a
choimhead àitheanta: agus cha 'n'eil
àitheanta-san trom [p].
4 Oir gach uile ni a ghinear o
Dhia, bheir e buaidh air an t-saoghal:
agus is i so a' bhuaidh a bhuadhaich-
eas air an t-saoghal, *eadhon* ar creid-
imhne.
5 Cò an ti a bhuadhaicheas air an
t-saoghal, ach esan a tha creidsinn
gur e Iosa Mac Dhé?
6 Is e so esan a thainig trìd uisge
agus trìd fhuil, Iosa Criosd; ni h-e
trìd uisge mhàin, ach trìd uisge agus
fuil: agus is e'n Spiorad a ni
fianuis, do bhrigh gur fìrinn an
Spiorad.
7 Oir tha triuir a tha deanamh
fianuis air nèamh, an t-Athair, am
Focal, agus an Spiorad naomh: agus
an triuir sin is aon iad.
8 Agus tha triuir a tha deanamh
fianuis air an talamh, an Spiorad,
agus an t-uisge, agus an fhuil: agus
thig an triuir sin r'a chéile ann an
aon.
9 Ma ghabhas sinn ri fianuis
dhaoine, 'si fianuis Dé a's mò: oir is
i so fianuis Dé, a thug e mu thim-
chioll a Mhic.
10 An ti a chreideas ann am Mac
Dhé, tha 'n fhianuis aige ann féin:
an ti nach creid Dia, rinn e breug-
aire dheth, do bhrigh nach do chreid
e an fhianuis a rinn Dia mu thim-
chioll a Mhic.
11 Agus is i so an fhianuis, gu'n
d'thug Dia dhuinn beatha-mhair-
eannach: agus tha a' bheatha so 'na
Mhac.
12 An ti aig am bheil am Mac,
tha beatha aige: an ti aig nach 'eil
Mac Dhé, cha 'n'eil beatha aige.
13 Na nithe so scrìobh mi d'ar
n-ionnsuidh a tha creidsinn ann an
ainm Mic Dhé; chum gu'm bi fios
agaibh gu bheil a' bheatha mhair-
eannach agaibh, agus chum as gu'n
creid sibh ann an ainm Mic Dhé.
14 Agus is e so an dòchas a ta
againn annsan, ma dh'iarras sinn ni
sam bith a réir a thoile, gu'n éisd e
ruinn.
15 Agus ma ta fhios againn gu'n
éisd e ruinn, ge b'e ni a dh'iarras
sinn, tha fhios againn gu bheil ar
n-iarrtais a dh'iarr sinn air againn.
16 Ma chi neach sam bith a
bhràthair a' peacachadh peacaidh
nach 'eil a chum bàis, iarraidh e, agus
bheir e beatha dha, dhoibhsan nach
'eil a' peacachadh chum bàis. Tha
peacadh chum bàis ann: a thaobh
sin, ni'n abram gur còir dha guidh-
eadh.
17 Is peacadh gach uile eucoir:
agus tha peacadh ann nach 'eil a
chum bàis.
18 Tha fhios againn ge b'e neach
a ghineadh le Dia, nach peacaich e;
ach an ti a ghineadh o Dhia, coimhid-
idh se e féin, agus cha bhean an
droch aon ris.

[p] *do-dheanta.*

19 Tha fhios againn gur ann o Dhia a tha sinne, agus tha'n saoghal uile na luidhe san olc.

20 Agus tha fhios againn gu'n d'thainig Mac Dhé, agus gu'n d'thug e tuigse dhuinn, chum gu'm b'aithne dhuinn esan a ta fìor: agus tha sinne annsan a ta fìor, ann a Mhac Iosa Criosd. Is e so an Dia fìor, agus a' bheatha mhaireannach.

21 A chlann bheag, coimhidibh sibh féin o ìodholaibh. Amen.

DARA LITIR AN ABSTOIL EOIN.

C A I B. I.

1 Tha e comhairleachadh do mhnaoi
òirdheirc àraidh agus d'a cloinn
buanachadh anns a' chreidimh agus
ann an gràdh Criosdaidh, 8 *an*
t-eagal gu'n cailleadh iad duais na
h-aidmheil a rinn iad roimhe; &c.

AN seanair chum na baintighearna taghta, agus chum a cloinne, a's ionmhuinn leamsa anns an fhìrinn; agus cha'n ann leamsa mhàin, ach leo-san uile mar an ceudna a ghabh eòlas air an fhìrinn;

2 Air son na fìrinn a tha 'na còmhnuidh annainne, agus a bhios maille ruinn gu bràth:

3 Gràs, tròcair, *agus* sìth gu robh maille ribh o Dhia an t-Athair, agus o'n Tighearn Iosa Criosd Mac an Athar, ann am fìrinn agus ann an gràdh.

4 Bha gairdeachas mòr orm, do bhrigh gu'n d'fhuair mi *cuid* do d' chloinnsa ag imeachd anns an fhìrinn, a réir mar a fhuair sinne àithne o'n Athair.

5 Agus a nis guidheam ort, a bhaintighearn, cha'n e mar gu'n sgrìobhainn àithne nuadh chugad, ach *an àithne* a bha againn o thùs, gu'n gràdhaicheamaid a chéile.

6 Agus is e so an gràdh, gu'n imicheamaid a réir àitheanta-san. 'S i so an àithne, mar a chuala sibh o thùs, gu'n imicheadh sibh innte.

7 Oir tha mòran mhealltairean air teachd a steach do'n t-saoghal, nach 'eil ag aideachadh gu bheil Criosd air teachd san fheòil. Is mealltair so agus anacriosd.

8 Thugaibh aire dhuibh féin, nach caill sinn[r] na nithe sin a shaothraich sinn[s], ach gu faigh sinn làn duais.

9 Ge b'e neach a bhriseas *an lagh*, agus nach fan ann an teagasg Chriosd, cha 'n'eil Dia aige: an ti a dh'fhanas ann an teagasg Chriosd, tha araon an t-Athair agus am Mac aige.

10 Ma thig neach air bith d'ar n-ionnsuidh, agus nach toir e an teagasg so leis, na gabhaibh e steach d'*ar* tigh, agus na abraibh ris, Gu ma subhach dhuit[t].

11 Oir ge b'e neach a their ris, Gu ma subhach dhuit, tha comhpairt aige d'a dhroch oibribh.

12 Air dhomh mòran a bhi agam r'a sgrìobhadh chugaibh, cha b'àill leam *sgrìobhadh* le paipeir agus dubh; ach tha dòchas agam teachd d'ar n-ionnsuidh, agus labhairt beul ri beul, chum gu'm bi ar gairdeachas coimhlionta.

13 Tha clann do pheathar taghta a' cur fàilte ort. Amen.

[r] *sibh.* [s] *bhuannuich sibh.* [t] *Gu'n soirbhichear leat.*

TREAS LITIR AN ABSTOIL EOIN.

CAIB. I.

1 *Tha e a' moladh Ghaiuis air son a dhiadhachd,* 5 *agus aoidheachd do'n fhìor luchd-teagaisg;* 9 *agus air an làimh eile a' deanamh gearain air gnàthachadh mi-chàirdeil Dhiotrepheis uaibhrich; &c.*

AN seanair chum Ghaiuis ghràdh-aich, a's ionmhuinn leam san fhìrinn.

2 A *bhràthair* ghràdhaich, 'se mo ghuidheadh thaobh[u] gach uile ni gu'n soirbhicheadh leat agus gu'm biodh tu slàn, mar a ta soirbheachadh le t' anam.

3 Oir rinn mi gairdeachas gu mòr 'nuair a thainig na bràithrean, agus a rinn iad fianuis do'n fhìrin a tha annadsa[a], mar a ta thusa 'g imeachd san fhìrinn.

4 Cha 'n'eil gairdeachas agam a's mò na bhi cluinntinn gu bheil mo chlann ag imeachd san fhìrinn.

5 A *bhràthair* ghràdhaich, is dileas a ni thu gach ni a ta thu deanamh do na bràithribh, agus do choigrich;

6 Muinntir a rinn fianuis air do ghràdh an làthair na h-eaglaise: ma bheir thu air an aghaidh iad 'nan slighe mar is cubhaidh do Dhia, is maith a ni thu:

7 Oir chaidh iad a mach air sgàth ainme-san, gun ni air bith a ghabhail o na Cinnich.

8 Uime sin tha dh'fhiachaibh oirnne gabhail r'an leithidibh sin, chum gu'm bitheamaid 'nar comh-shaothraichibh do'n fhìrinn.

9 Scrìobh mi[b] chum na h-eaglaise: ach cha ghabh Diotrephes, leis am miann àrd-cheannas a bhi aige 'nam measg, ruinne.

10 Uime sin ma thig mi, cuiridh mi an cuimhne[c] oibre a ta e deanamh, a' bith-labhairt 'nar n-aghaidh le briathraibh aingidh[d]: agus cha leoir leis sin, ach ni mò a tha e féin a' gabhail ris na bràithribh, agus tha e a' bacadh na droinge leis am b'àill, agus 'gan tilgeadh mach as an eaglais.

11 A *bhràthair* ghràdhaich, na lean an ni a ta olc, ach an ni a ta maith. An ti a ni maith, is ann o Dhia a ta e: ach an ti a ni olc, cha'n fhac e Dia.

12 Tha deadh theisteas air Demetrius o na h-uile, agus o'n fhìrinn féin: agus tha sinne *mar an ceudna* a' deanamh fianuis, agus tha fios agaibh gu bheil ar fianuisne fìor.

13 Bha mòran agam r'a scrìobhadh, ach cha 'n àill leam scrìobhadh le dubh agus peann a' t'ionnsuidh:

14 Ach tha dòchas agam t'fhaicinn gun dàil, agus labhraidh sinn beul ri beul. Sìothchaint maille riut. Tha na càirdean a' cur fàilte ort. Cuir fàilte air na càirdibh air an ainm.

[u] *roimh.* [a] *do t'fhìrinn-sa.* [b] *Scrìobhainn.* [c] *cuimhnichidh mi.* [d] *naimhdeil, mìorunach.*

LITIR CHOITCHIONN AN ABSTOIL IUDAIS.

C A I B. I.

1 *Tha e 'gam brosnachadh gu bhi bunaiteach ann an aidmheil a' chreidimh,* 4 *Tha luchd-teagaisg bréige air teachd a steach 'nam measg chum am mealladh; agus tha peanas ro eagalach air ulluchadh fa chomhair na muinntir sin, air son an droch theagaisg agus an caitheadh-beatha mhi-naomha: &c.*

IUDAS seirbhiseach Iosa Criosd, agus bràthair Sheumais, chum na droinge a tha air an naomhachadh le Dia an t-Athair, agus air an coimhead le Iosa Criosd, air an gairm:

2 Gu robh tròcair, agus sìth, agus gràdh air am meudachadh dhuibh-se.

3 A mhuinntir ionmhuinn, air dhomh an uile chabhag[c] a dheanamh chum scrìobhadh d'ar n-[d]ionnsuidh mu thimchioll na slàinte choitchionn[f], b'fheumail domh scrìobhadh d'ar n-ionnsuidh, 'gar n-earalachadh[g] sibh a chathachadh gu dichiollach air son a' chreidimh a thugadh aon uair do na naoimh.

4 Oir dh'eulaigh[h] daoine àraidh a steach, a dh'orduicheadh roimhe[i] o shean chum an ditidh so, *daoine* mi-dhiadhaidh, a' tionndadh gràis ar Dé-ne gu macnus, agus ag àicheadh Dhé, a's aon Uachdaran ann, agus ar Tighearna Iosa Criosd.

5 Uime sin is àill leam bhur cur an cuimhne, ge do bha fhios agaibh aon uair[l] air so, cionnus an déigh do'n Tighearn am pobull a shaoradh a tìr na h-Eiphit, a sgrios e an déigh sin an droing nach do chréid.

6 Agus na h-aingil nach do ghleidh an ceud inbhe, ach a dh'fhàg an àite-còmhnuidh féin, choimhid e ann an geimhlibh siorruidh fuidh dhorchadas, fa chomhair breitheanais[k] an là mhòir.

7 Amhuil a ta Sodom agus Gomorrha, agus na bailte mu'n cuairt orra, a thug iad féin thairis do strìopachas air a' mhodh cheudna, agus a bha leantuinn feòla coimhich, air an cur suas 'nan ball-sampuill[m] a' fulang dioghaltais teine shiorruidh.

8 Mar an ceudna fòs tha an luchd-bruadair[n] sin a' salachadh na feòla, a' deanamh tàir air uachdaranachd, agus a' labhairt gu toibheumnach[o] air àrd-inbhibh.

9 Gidheadh cha do ghabh Michael an t-àrd-aingeal, 'nuair a chathaich e 'n aghaidh an diabhoil, agus a rinn e deasboireachd mu chorp Mhaois, dànadas air casaid thoibheumach a thoirt 'na aghaidh, ach thubhairt e, Gu cronuicheadh an Tighearn thu!

10 Ach tha'n droing sin a' labhairt gu toibheumnach air na nithibh[p] nach aithne dhoibh: ach na nithe sin a's aithne dhoibh air mhodh nàdurra, mar ainmhidhibh gun reuson, tha iad 'gan truailleadh féin annta.

11 Is anaoibhinn doibh! oir dh'imich iad ann an slighe Chain, agus ruith iad gu togarrach ann an seacharan Bhalaaim air ghaol tuarasdail, agus sgriosadh iad ann an ana-cainnt cheannarcaich Chore.

12 Is smala iad sin ann bhur cuirmibh gràidh, 'nuair a tha iad air cuirmibh maille ribh, 'gam beathachadh féin gun eagal: *is* neoil *iad* gun

c

[c] *dhichioll.* [f] *chumanta.* [g] *a' cur impidh oirbh.* [h] *ghoid.* [i] *a scriobhadh roimhe.* [l] *roimhe.* [m] *'nan samhlachas.* [n] *luchd-bruadair neo-ghlan.* [o] *gu tàir-chainnteach, maslach.* [p] *labhairt uile mu na nithibh.*

uisge, air an giùlan mu'n cuairt le
gaothaibh; craobhan searg-mheasach,
gun toradh; da uair marbh, air an
spìonadh as am freumhaibh;
13 Garbh thonna[r] na fairge, a
sgeitheas an nàire féin mar chobhar;
reulta seachranach, d'am bheil duibhre
an dorchadais gu siorruidh air a
thasgaidh.
14 Agus rinn Enoch mar an ceud-
na, an seachdamh *pearsa* o Adhamh,
fàidheadaireachd orra sin, ag ràdh,
Feuch, tha'n Tighearn a' teachd le
dheich mìltibh naomha[s],
15 A dheanamh breitheanais air
na h-uile, agus chum iadsan uile a
tha mi-dhiadhaidh 'nam measg fhàg-
ail ris, a thaobh an uile ghnìomhara
mi-dhiadhaidh a rinn iad gu mi-
dhiadhaidh, agus a thaobh an uile
bhriathar cruaidh, a labhair peacaich
mi-dhiadhaidh 'na aghaidh.
16 Is luchd cànrain agus gearain
an droing so, a tha 'g imeachd a réir
an anamhiann féin; agus tha'm beul
a' labhairt *bhriathar* atmhor[t], agus
iad a' gabhail iongantais[u] do phears-
aibh dhaoine air sgàth buannachd.
17 Ach cuimhnichibhse, a mhuinn-
tir mo ghràidh, na focail a labhradh
roimhe le abstolaibh ar Tighearna
Iosa Criosd:
18 Mar a thubhairt iad ribh, gu'm
biodh anns an aimsir dheireannaich
luchd-fanoid, a ghluaiseadh a réir an
anamhianna mi-dhiadhaidh féin.
19 'S iad sin an dream a sgaras iad
féin o *chàch*, collaidh[a], gun an Spior-
ad aca.
20 Ach air bhi dhuibhse, a mhuinn-
tir ionmhuinn, 'gar togail féin suas
ann bhur creidimh ro naomha, a'
deanamh ùrnuigh san Spiorad
naomh,
21 Coimhididh sibh féin ann an
gràdh Dhé, le sùil ri tròcair ar Tigh-
earna Iosa Criosd chum na beatha
maireannaich.
22 Agus gabhaibh truas do dhream
àraidh, a' deanamh eadar-dhealach-
aidh:
23 Agus tearnaibh dream eile le
h-eagal, 'gan spìonadh as an teine; a'
fuathachadh eadhon an eudaich air
am bheil smal na feòla[b].
24 A nis dhasan a tha comasach
air bhur gleidheadh o thuisleadh, agus
bhur cur gu neo-lochdach an làthair a
ghlòire le h-aoibhneas ro mhòr,
25 Do'n Dia a ta mhàin glic, ar
Slànuighear, *gu robh* glòir agus mòral-
achd, neart[c] agus cumhachd, a nis
agus air feadh nan uile linn. Amen.

TAISBEANADH EOIN AN DIADHAIR.

CAIB. I.

*4 Tha Eoin a' scrìobhadh a thaisbean-
aidh chum seachd eaglaisean na
h-Asia, a tha air an ciallachadh
leis na seachd coinnleiribh òir. 7
Teachd Chriosd: 14 A chumhachd
glòrmhor, agus a mhòralachd.*

TAISBEANADH Iosa Criosd,
a thug Dia dha, a dh'fhoill-
seachadh d'a sheirbhisich nithe a's
éigin teachd gu crìch ann an aith-
ghearr; agus chuir e teachdoireachd
uaith, agus le aingeal féin dh'fhoill-
sich e *iad* d'a sheirbhiseach Eoin:
2 A rinn fianuis air focal Dé, agus
air teisteas Iosa Criosd, agus air gach
ni a chunnaic e.
3 *Is* beannuichte an ti a leughas,
agus iadsan a dh'éisdeas ri briathraibh
na fàidheadaireachd so, agus a

[r] *Fiadh thonna.* [s] *le deich mìltibh d'a naomhaibh,* [t] *uaibhreach.* [u] *a' toirt
mòr mheas.* [a] *nàdurra.* [b] *a ta air a shalachadh leis an fheòil.*
[c] *tighearnas, uachdaranachd.*

choimhideas na nithe a tha scrìobhta
innte: oir tha'n t-àm am fagus.

4 EOIN chum nan seachd eag-
lais a ta san Asia: Gràs
dhuibh, agus sìth o'n ti a ta, agus a
bha, agus a ta ri teachd; agus o na
seachd spioradaibh a tha'm fianuis a
righ-chaithreachsan;

5 Agus o Iosa Criosd, an fhianuis
fhìor, an ceud-ghin o na marbhaibh,
agus uachdaran righre na talmhainn:
Dhasan a ghràdhaich sinn, agus a
dh'ionnlaid sinn o ar peacaibh 'na
fhuil féin,

6 Agus a rinn righre dhinn agus
sagarta do Dhia agus d'a Athairsan;
dhasan *gu robh* glòir agus cumhachd
gu saoghal nan saoghal. Amen.

7 Feuch, tha e teachd le neulaibh;
agus chi gach sùil e, agus iadsan *mar
an ceudna* a lot e[d]: agus ni uile
threubha na talmhainn caoidh air a
shonsan: gu ma h-amhluidh a bhith-
eas, Amen.

8 Is mise Alpha agus Omega, an
toiseach agus an deireadh, a deir an
Tighearn, a ta, agus a bha, agus a ta
ri teachd, an t-Uile-chumhachdach.

9 Bha mise Eoin, bhur dearbh-
bhràthair, agus bhur companach ann
an àmhghar, agus ann an rioghachd
agus am foighidin Iosa Criosd, anns
an eilean[e] d'an goirear Patmos, air
son focail Dé, agus air son fianuis
Iosa Criosd.

10 Bha mi san Spiorad air là an
Tighearna, agus chuala mi air mo
chùlaobh guth mòr. mar *ghuth* tromp-
aide,

11 Ag ràdh, Is mise Alpha agus
Omega, an ceud neach agus an neach
deireannach: agus, Scrìobhsa ann an
leabhar an ni a chi thu, agus cuir e
chum nan seachd eaglais a tha san
Asia; chum Ephesuis, agus chum
Smirna, agus chum Phergamois, agus
chum Thiatira, agus chum Shardis,
agus chum Philadelphia, agus chum
Laodicea.

12 Agus thionndaidh mi a
dh'fhaicinn a ghutha a labhair rium.
Agus air tionndadh dhomh, chunnaic
mi seachd coinnleirean òir;

13 Agus am meadhon nan seachd
coinnleir, *neach* cosmhuil ri Mac an
duine, air an robh eudach a ràinig
sìos gu shàilibh, agus crioslaichte[f] le
crios òir mu chìochaibh.

14 *Bha* a cheann agus fholt
geal mar oluinn ghil, mar shneachda;
agus a shùilean mar lasair theine;

15 Agus a chosa cosmhuil ri umha[g]
fìor-ghlan, mar gu'm bitheadh iad a'
dearg-losgadh ann an àmhuinn; a-
gus a ghuth mar thoirm mhòrain
uisgeacha.

16 Agus bha aige 'na làimh dheis
seachd reulta: agus claidheamh geur
dà fhaobhair a' teachd a mach as a
bheul: agus *bha* ghnùis mar a' ghrian
a' dealrachadh 'na làn neart.

17 Agus an uair a chunnaic mi e,
thuit mi sìos aig a chosaibh an riochd
mairbh: agus chuir e a làmh dheas
orm, ag ràdh rium, Na biodh eagal
ort: is mise an ceud neach agus an
neach deireannach.

18 *Is mi* an ti a ta beo, agus a bha
marbh; agus feuch, tha mi beo gu
saoghal nan saoghal, Amen; agus tha
iuchraiche ifrinn[h] agus a' bhàis agam.

19 Scrìobh na nithe a chunnaic
thu, agus na nithe a ta ann, agus na
nithe a bhitheas an déigh so:

20 Rùn-dìomhair nan seachd reult
a chunnaic thu ann am làimh dheis,
agus nan seachd coinnleir òir. Is iad
na seachd reulta, aingil nan seachd
eaglais: agus is iad na seachd coinn-
leirean a chunnaic thu, na, seachd
eaglaisean.

CAIB. II.

*Ciod a dh'àithneadh do Eoin a scrìobh-
adh chum aingle (is iad sin ministeirean)
nan eaglais 1 Ephesuis, 8
Smirna, 12 Phergamois, 18
Thiatira: agus ciod a ta air a
mholadh, no a fhuaradh uireas-
bhuidheach anntasan.*

CHUM aingil[i] eaglaise Ephesuis,
Scrìobh, is iad so na nithe a
deir an ti a tha cumail nan seachd
reult 'na làimh dheis, a tha 'g imeachd
ann am meadhon nan seachd coinn-
leir òir;

[d] *a throimh-lot, a shàth e trìd.* [e] *oilean, innis.* [f] *criosraichte.* [g] *prais.*
[h] *na h-uaighe, an t-saoghail ri teachd.* [i] *theachdoire.*

2 Is aithne dhomh t'oibre, agus do shaothair, agus t'fhoighidin, agus nach urrainn thu giùlan leo-san a tha olc ; agus gu'n do dhearbh thu iadsan a their gur abstoil iad féin, agus nach eadh, agus gu'n d'fhuair thu iad breugach ;

3 Agus gu'n do ghiùlain thu, agus gu bheil foighidin agad, agus air sgàth m'ainme-se gu'n d'rinn thu saothair, agus nach d'thug thu thairis.

4 Gidheadh, tha agam a' t'aghaidh, gu'n do thréig thu do cheud ghràdh.

5 Cuimhnich uime sin cia uaith a thuit thu, agus gabh aithreachas, agus dean na ceud oibre ; no thig mi ort gu grad, agus atharraichidh mi do choinnleir as àit, mur gabh thu aithreachas,

6 Ach a ta so agad, gur fuathach leat oibre nan Nicolaiteach, nithe mar an ceudna a's fuathach leamsa.

7 An ti aig am bheil cluas, éisdeadh e ciod a their an Spiorad ris na h-eaglaisibh ; Do'n ti a bhuadhaicheas bheir mise r'a itheadh do chraoibh na beatha, a tha ann am meadhon phàrrais Dé.

8 Agus chum aingil eaglaise Smirna, scrìobh, Na nithe so a their esan a's e'n ceud neach agus an neach deireannach, a bha marbh, agus a tha beo ;

9 Is aithne dhomh t'oibre, agus t'àmhghar, agus do bhochdainn, (gidheadh a ta thu beartach[l]) agus *is aithne dhomh* toibheum na muinntir a their gur Iudhaich iad féin, agus nach eadh, ach sionagog Shatain.

10 Na biodh eagal ort roimh aon do na nithibh sin a dh'fhuilingeas tu : feuch, tilgidh an diabhol cuid dhiubh ann am priosun, chum gu'n dearbhar sibh ; agus bithidh àmhghar[m] agaibh rè dheich làithean : bi-sa fìrinneach gu bàs, agus bheir mise dhuit crùn na beatha.

11 An ti aig am bheil cluas, éisdeadh e ciod a their an Spiorad ris na h-eaglaisibh : An ti a bheir buaidh, cha chiurrar leis an dara bàs e.

12 Agus chum aingil na h-eaglaise a *ta* ann am Pergamos, scrìobh, Na nithe so deir esan, aig am bheil an claidheamh geur dà fhaobhair :

13 Is aithne dhomh t'oibre, agus c'àit am bheil thu a'd' chòmhnuidh, *eadhon* far *am bheil* caithir Shatain : agus a ta thu a' cumail m'ainme-se gu daingean, agus cha d'àicheadh thu mo chreidimh, eadhon anns na làithibh sin anns *an robh* Antipas 'na fhianuis[n] fhìrinneach dhomh, a mharbhadh 'nar measg, far am bheil Sàtan 'na chòmhnuidh.

14 Gidheadh, tha beagan agam a' t'aghaidh, do bhrigh gu bheil agad an sin an droing a tha cumail teagaisg Bhalaaim, a theagaisg do Bhalac ceap-tuislidh a chur roimh chloinn Israeil, chum nithe a dh'ìobradh do ìodholaibh itheadh, agus strìopachas a dheanamh.

15 Is amhuil sin a ta agad mar an ceudna an dream a tha cumail teagaisg nan Nicolaiteach, ni a's fuathach leamsa.

16 Dean aithreachas, no thig mi a' t'ionnsuidh gu grad, agus cogaidh mi 'nan aghaidh le claidheamh mo bheoil.

17 An ti aig am bheil cluas, éisdeadh e ciod a their an Spiorad ris na h-eaglaisibh ; Do'n ti a bhuadhaicheas bheir mi r'a itheadh do'n mhana fholuichte, agus bheir mi dha clach gheal, agus air a' chloich ainm nuadh scrìobhta, nach aithne do neach air bith, ach do'n ti a gheibh *i*.

18 Agus chum aingil na h-eaglaise a *ta* ann an Tiatira, scrìobh, Na nithe so deir Mac Dhé, aig am bheil a shùilean mar lasair theine, agus a chosan mar umha fìor-ghlan ;

19 Is aithne dhomh t'oibre, agus do ghràdh, agus do fhrithealadh[o], agus *do* chreidimh, agus t'fhoighidin, agus t'oibre deireannach ; gu *bheil iad* ni's mò na do cheud oibre.

20 Gidheadh, tha agam beagan do nithibh a' t'aghaidh, gu bheil thu a' fulang do'n mhnaoi sin Iesebel, a their gur ban-fhàidh i féin, mo sheirbhisich a theagasg agus a mhealladh chum strìopachas a dheanamh, agus nithe a dh'ìobradh do ìodholaibh itheadh.

21 Agus thug mi dhi ùine gu

[l] *saibhir.* [m] *trioblaid.* [n] *'na mhairtireach.* [o] *sheirbhis, mhinistreileachd.*

aithreachas a ghabhail d'a striopachas,
agus cha do ghabh i aithreachas.

22 Feuch, tilgidh mi ise ann an leab-
aidh, agus iadsan a tha deanamh adh-
altrannais rithe ann an àmhghar mòr,
mur gabh iad aithreachas d'an
gniomharaibh.

23 Agus marbhaidh mi a clann
leis a' bhàs; agus bithidh fhios aig
na h-eaglaisibh uile gur mise an ti sin
a sgrùdas na h-àirnean agus na
cridheachan: agus bheir mi do gach
aon agaibhse a réir bhur n-oibre.

24 Ach ribhse a deiream, agus ris
a' chuid eile ann an Tiatira, Mheud
aig nach 'eil an teagasg so, agus do
nach b'aithne doimhne Shatain, mar
a their iad, cha chuir mi uallach eile
oirbh,

25 Ach cumaibh gu daingean an
ni a ta agaibh, gus an d'thig mi.

26 Agus an ti a bhuadhaicheas,
agus a ghleidheas m'oibre gus a'
chrìoch, dhasan bheir mi cumhachd
os ceann nan Cinneach:

27 (Agus riaghlaidh e iad le slait
iaruinn: mar shoithichibh creadha
brisear 'nam bloighdibh iad) amhuil a
fhuair mise o m' Athair.

28 Agus bheir mi dha reult na
maidne.

29 An ti aig am bheil cluas, éisd-
eadh e ciod a their an Spiorad ris na
h-eaglaisibh.

CAIB. III.

1 *Tha aingeal eaglaise Shardis air a
chronachadh,* 3 *air earalachadh gu
h-aithreachas, agus air a bhagairt
mur dean e aithreachas.* 8 *Tha
aingeal eaglaise Philadelphia air a
mholadh air son a dìchill agus
fhoighidin.* 15 *Tha aingeal eag-
laise Laodicea air a chronachadh a
chionn nach robh e fuar no teth, &c.*

AGUS chum aingil na h-eaglaise
a *tha* ann an Sardis, scriobh,
Na nithe so deir an ti aig am bheil
seachd spiorada Dhé, agus na seachd
reulta; Is aithne dhomh t'oibre, gu
bheil ainm agad, gu bheil thu beo,
gidheadh a ta thu marbh.

2 Bi faireil, agus neartaich a' chuid
eile a ta ullamh gu bàsachadh: oir
cha d'fhuair mi t'oibre coimhlionta
am fianuis Dé.

3 Cuimhnich uime sin cionnus a
fhuair agus a chuala tu, agus gleidh[p],
agus gabh aithreachas. Uime sin
mur dean thu faire, thig mi ort mar
ghaduiche, agus cha bhi fios agad
ciod i an uair anns an d'thig mi ort.

4 Tha beagan ainmeannan agad
eadhon ann an Sardis, nach do shal-
aich an eudach; agus imichidh iad
maraon riumsa ann an *culaidhibh*
geala: oir is airidh[r] iad.

5 An ti a bheir buaidh, sgeadaich-
ear e ann an eudach geal; agus cha
dubh mi mach ainm a leabhar na
beatha, ach aidichidh mi ainmsan am
fianuis m' Athar, agus am fianuis aing-
lean.

6 An ti aig am bheil cluas, éisdeadh
e ris an ni a deir an Spiorad ris na
h-eaglaisibh.

7 Agus chum aingil na h-eaglaise
ann am Philadelphia, scriobh, Na
nithe so deir an ti naomha, an ti fior,
an ti aig am bheil iuchair Dhaibhidh,
an ti a dh'fhosglas, agus cha dùin
neach air bith; agus a dhùineas, agus
cha'n fhosgail neach air bith.

8 Is aithne dhomh t'oibre: feuch,
chuir mi doras fosgailte romhad, agus
cha'n urradh neach air bith a dhùn-
adh: oir a ta neart beag agad, agus
ghleidh thu m'fhocal, agus cha d'àich-
eadh thu m'ainm.

9 Feuch, bheir mise *orrasan* do
shionagog Shàtain (a their gur Iudh-
aich iad féin, agus nach eadh, ach a ta
deanamh bréige) feuch, bheir mise
orra gu'n d'thig iad agus gu'n dean
iad aoradh aig do chosaibh, agus gu'm
bi fios aca gu'n do ghràdhaich mise
thu.

10 A chionn gu'n do ghleidh thu
focal m'fhoighidinse, gleidhidh mise
thusa mar an ceudna o uair a' bhuair-
idh, a thig air an t-saoghal uile, a
dhearbhadh na muinntir sin a tha 'nan
còmhnuidh air an talamh.

11 Feuch, tha mi a' teachd gu
gràd: dean greim daingean air na
bheil agad, chum nach glac neach air
bith do chrùn.

12 An ti a bheir buaidh, ni mi e

[p] *coimhid, cum gu teann.* [r] *fiu.*

'na phost [s] ann an teampull mo Dhé, agus cha d'théid e ni's mò a mach as: agus scrìobhaidh mi ainm mo Dhé air, agus ainm cathrach [t] mo Dhé, *a's i* Ierusalem nuadh, a thig a nuas o nèamh o m' Dhia: agus *scrìobhaidh* mi m'ainm nuadh féin *air*.

13 An ti aig am bheil cluas, éisdeadh e ciod a deir an Spiorad ris na h-eaglaisibh.

14 Agus chum aingil na h-eaglaise ann an Laodicea, scrìobh, Na nithe so deir an Amen, an fhianuis dhìleas agus fhìrinneach, toiseach cruthachaidh Dhé;

15 Is aithne dhomh t'oibre, nach 'eil thu aon chuid fuar no teth: b'fhearr leam gu'm bitheadh tu fuar no teth.

16 Uime sin do bhrigh gu bheil thu meagh-bhlàth, agus nach 'eil thu aon chuid fuar no teth, sgeithidh mi thu mach as mo bheul.

17 Do bhrigh gu bheil thu ag ràdh, Tha mi beartach, agus air fàs saibhir, agus gun fheum agam air ni sam bith; agus gun fhios agad gu bheil thu dòruinneach [u], agus truagh, agus bochd, agus dall, agus lomnochd.

18 Comhairlicheam dhuit òr a cheannach uamsa, air a dhearbhadh san teine, chum as gu'm bi thu saibhir; agus eudach geal, chum gu'n còmhdaichear thu, agus nach bi nàire [a] do lomnochduidh follaiseach; agus ùng do shùile le sàbhshùl [b], chum gur léir dhuit.

19 Mheud as is ionmhuinn leam, cronaicheam agus smachdaicheam; uime sin biodh agadsa teas-ghràdh, agus dean aithreachas.

20 Feuch, tha mi a'm' sheasamh aig an dorus, agus a' bualadh: ma dh'éisdeas neach sam bith ri m' ghuth, agus gu'm fosgail e'n dorus, thig mi a steach d'a ionnsuidh, agus gabhaidh mi mo shuipeir maille ris, agus esan maille riumsa.

21 Do'n ti a bhuadhaicheas bheir mi comas suidhe maille riumsa air mo righ-chaithir, amhuil fòs a bhuadhaich mise, agus a shuidh mi maille ri m'Athair air a righ-chaithir-san.

22 An ti aig am bheil cluas, éisdeadh e ris an ni a deir an Spiorad ris na h-eaglaisibh.

CAIB. IV.

2 Tha Eoin a' faicinn righ-chaithreach Dhé ann am flaitheamhnas. 4 Na ceithir seanaire fichead. 6 Na ceithir bheathaiche làn do shùilibh air am beulaobh agus air an cùlaobh. 10 Tha na seanairean a' tilgeadh sìos an crùn, agus a' deanamh aoraidh do'n ti a bha 'na shuidhe air an righ-chaithir.

AN déigh so dh'amhairc mi, agus feuch, *bha* dorus fosgailte air nèamh; agus *bha* an ceud ghuth a chuala mi, mar *fhuaim* trompaid a' labhairt rium, ag ràdh, Thig a nìos an so, agus nochdaidh mise dhuit nithe a's éigin tachairt an déigh so.

2 Agus air ball bha mi san Spiorad: agus feuch, bha righ-chaithir air a suidheachadh air nèamh, agus bha neach 'na shuidhe air an righ-chaithir.

3 Agus bha an ti a shuidh, r'a amharc air, cosmhuil ri cloich Iaspir, agus Sardis: agus *bha* bogha-frois [c] timchioll na righ-chaithreach mu'n cuairt, cosmhuil, r'a fhaicinn, ri Emerald.

4 Agus timchioll na righ-chaithreach mu'n cuairt *bha* ceithir chaithrichean fichead; agus air na caithrichibh chunnaic mi ceithir seanaire fichead 'nan suidhe, air an sgeadachadh ann an culaidhibh geala; agus bha aca air an cinn corona [d] òir.

5 Agus chaidh a mach as an righ-chaithir dealanaich, agus tairneanaich, agus guthanna: agus *bha* seachd lòchrain [e] theine a' dearg-lasadh am fianuis na righ-chaithreach, a's iad seachd spioradan Dhé.

6 Agus roimh an righ-chaithir *bha* fairge ghloine cosmhuil ri criostal: agus ann am meadhon na righ-chaithreach, agus mu'n cuairt do'n righ-chaithir, *bha* ceithir bheathaiche làn

[s] *'na charragh.* [t] *baile.* [u] *iargunach, àmhgharach.* [a] *gràineileachd.* [b] *fobhair-shùl, sùil-leigheas.* [c] *bogha-uisge.* [d] *crùna.* [e] *lamps.* Sasg.

do shùilibh, air an beulaobh agus air
an cùlaobh.

7 Agus *bha* an ceud bheathach
cosmhuil ri leòmhan, agus an dara
beathach cosmhuil ri laogh, agus
bha aig an treas beathach aghaidh
mar dhuine, agus *bha* an ceathramh
beathach cosmhuil ri iolair ag iteal-
aich.

8 Agus aig na ceithir bheathaich-
ibh, aig gach aon diubh fa leth, bha
sea sgiathan mu'n cuairt da, agus *bha*
iad làn do shùilibh an taobh a stigh;
agus cha sguir iad a là no dh'oidhche,
ag ràdh, Naomha, naomha, naomha,
an Tighearn Dia uile-chumhachdach,
a bha, agus a ta, agus a bhitheas.

9 Agus an uair a thug na beath-
aiche sin glòir, agus urram, agus
buidheachas do'n ti a bha 'na shuidhe
air an righ-chaithir, a ta beo gu
saoghal nan saoghal,

10 Thuit na ceithir seanairean fich-
ead sìos an làthair an ti a bha 'na
shuidhe air an righ-chaithir, agus rinn
iad aoradh dhasan a ta beo gu saoghal
nan saoghal, agus thilg iad sìos an
corona an làthair na righ-chaithreach,
ag ràdh,

11 Is airidh [f] thusa, a Thighearn,
air glòir, agus urram, agus cumh-
achd fhaotainn; oir chruthaich thusa
na h-uile nithe, agus air son do thoil-
sa tha iad, agus chruthaicheadh
iad.

CAIB. V.

1 *An leabhar air a sheulachadh le seachd seulaibh,* 9 *a b'airidh a mhàin an t-Uan a mharbhadh air fhosgladh:* 12 *uime sin tha na seanairean a' toirt cliu dha, agus ag aideachadh gu'n do shaor e iad le fhuil féin.*

AGUS chunnaic mi air làimh
dheis [g] an ti a shuidh air an
righ chaithir, leabhar scriobhta san
taobh a stigh dheth agus air a chùl-
aobh, air a sheulachadh le seachd
seulaibh.

2 Agus chunnaic mi aingeal treun
a' gairm le guth àrd, Cò a's airidh
air an leabhar fhosgladh; agus air a
sheulachan fhuasgladh?

3 Agus cha robh aon neach air
neamh, no air thalamh, no fuidh'n
talamh comasach air an leabhar
fhosgladh, no sealltuinn air.

4 Agus ghuil mi gu mòr, do
bhrigh nach d'fhuaradh aon neach a
b'airidh air an leabhar fhosgladh,
agus a leughadh, no sealltuinn air.

5 Agus thubhairt aon do na sean-
airibh rium, Na guil; feuch, bhuadh-
aich an Leòmhan a tha do thrèibh
Iuda, Freumh Dhaibhidh, air an
leabhar fhosgladh, agus a sheachd
seulachan fhuasgladh.

6 Agus dh'amhairc mi, agus feuch,
ann am meadhon na righ chaith-
reach, agus nan ceithir bheathaich,
Agus ann am meadhon nan seanair,
Uan 'na sheasamh mar gu'm biodh e
air a mharbhadh, aig an robh seachd
adhaircean, agus seachd sùilean, a's
iad seachd spioraid Dhé, a chuireadh
a mach chum na talmhainn uile.

7 Agus thainig e, agus ghlac e an
leabhar a deas làimh an ti a bha 'na
shuidhe air an righ-chaithir.

8 Agus an uair a ghlac e'n leabh-
ar, thuit na ceithir bheathaichean,
agus na ceithir seanairean fichead sìos
an làthair an Uain, agus aig gach
aon diubh clàrsaichean, agus tuis-
shoithichean òir làn do nithibh deadh-
bholtraich, a's iad ùrnuighean
nan naomh.

9 Agus sheinn iad òran nuadh, ag
ràdh, Is airidh thusa air an leabhar
a ghlacadh, agus a sheulachan
fhosgladh, do bhrigh gu'n do
mharbhadh thu, agus gu'n do shaor
thu sinne do Dhia le t'fhuil féin, as
gach uile thréibh, agus theangaidh,
agus shluagh, agus chinneach;

10 Agus gu'n d'rinn thu righre
dhinn agus sgarta d'ar Dia: agus
rioghaichidh sinn air an talamh.

11 Agus dh'amhairc mi, agus
chuala mi guth mhòrain aingeal
timchioll na righ-chaithreach, agus
nam beathach, agus nan seanair;
agus b'e an àireamh deich mìle uair
deich mìle, agus mìlte do mhìlt-
ibh;

12 Ag ràdh le guth àrd, Is airidh
an t-Uan a chaidh mharbhadh, air

[f] *fiu.* [g] *ann an làimh dheis.*

cumhachd, agus saibhreas, agus glioc-
as, agus neart, agus urram, agus
glòir agus moladh fhaotainn.
13 Agus chuala mi gach uile
creutair a ta air nèamh, agus air an
talamh, agus fuidh'n talamh, agus a
ta air a chuan, agus na h-uile nithe a
ta annta, ag ràdh, Moladh agus urr-
am, agus glòir agus cumhachd, *gu
robh* dhasan a ta 'na shuidhe air an
righ-chaithir, agus do'n Uan gu
saoghal nan saoghal.
14 Agus thubhairt na ceithir
bheathaiche, Amen. Agus thuit na
ceithir seanaire fichead sìos, agus
rinn iad aoradh dhasan a ta beo gu
saoghal nan saoghal.

CAIB. VI.

Fosgladh nan seula an ordugh, agus ciod a lean air sin ; &c.

AGUS chunnaic mi, 'nuair a
dh'fhosgail an t-Uan aon do
na seulaibh, agus chuala mi [illegible]
na ceithir bheathaichibh ag ràdh,
mar le fuaim tairneanaich, Thig agus
[illegible].
2 Agus chunnaic mi, agus feuch,
each geal ; agus bha aig an ti a
shuidh air, bogha : agus thugadh dha
crùn, agus chaidh e mach a' buadh-
achadh, agus chum gu buadhaich-
eadh e.
3 Agus an uair a dh'fhosgail e'n
dara seula, chuala mi an dara beath-
ach ag ràdh, Thig, agus faic.
4 Agus chaidh each eile mach, *a
bha* dearg ; agus thugadh *cumhachd*
dhasan a shuidh air, chum sìth a
thoirt o'n talamh, ionnas gu marbh-
adh iad a chéile : agus thugadh
claidheamh mòr dha.
5 Agus an uair a dh'fhosgail e an
treas seula, chuala mi an treas beath-
ach ag ràdh, Thig, agus faic. Agus
dh'amhairc mi, agus feuch, each
dubh, agus bha aig an ti a shuidh air,
meidh [h] 'na làimh.
6 Agus chuala mi guth ann am
meadhon nan ceithir bheathach ag
ràdh, Tomhas cruineachd air son
peghinn, agus tri tomhasan eòrna air
pheginn ; agus na dean cron air an
ola, no air an fhìon.
7 Agus an uair a dh'fhosgail e'n
ceathramh seula, chuala mi guth a'
cheathramh beathaich ag ràdh, Thig,
agus faic.
8 Agus dh'amhairc mi, agus feuch,
each glas [i] ; agus b'e ainm an ti a
shuidh air, am Bàs, agus lean ifrinn [l]
'na chuideachd : agus thugadh
dhoibhsan cumhachd chum marbh-
aidh air a cheathramh cuid do'n
talamh, le claidheamh, agus le gorta,
agus le bàs [m], agus le fiadh bheath-
aichibh na talmhainn.
9 Agus an uair a dh'fhosgail e
an cùigeadh seula, chunnaic mi fuidh
'n altair, anama na muinntir sin a
mharbhadh air son focail Dé, agus
air son na fianuis a chum iad.
10 Agus ghlaodh iad le guth mòr,
ag ràdh, Cia fhad a bhitheas, o
Thighearna naomha agus fhìrinnich,
agus an dean thu breitheanas, agus
an dìol thu ar fuilne orrasan a ta
'nan còmhnuidh air an talamh ?
11 Agus thugadh do gach aon
diubh trusgan fada geals, agus a
dubhradh riu, iad a gabhail fois
fathast rè ùine bhig, gus am biodh
an comh-sheirbhisich mar an ceud-
na, agus am bràithrean a rachadh a
mharbhadh mar *a chaidh* iadsan,
air an coimhlionadh.
12 Agus dh'amhairc mi 'nuair a
dh'fhosgail e an seathadh seula, agus
feuch, bha crith mhòr thalmhainn
ann, agus dh'fhàs a' ghrian dubh
mar shaic-eudach ròin, agus dh'fhàs
a' ghealach mar fhuil.
13 Agus thuit reulta nèimhe air
an talamh, mar a thilgeas craobh-
fhìge a fìgean anabaich, 'nuair a
chrathar i le gaoith mhòir :
14 Agus chaidh nèamh thairis mar
rola leabhar air fhilleadh air a chéile ;
agus dh'atharraicheadh gach beinn
agus eilean as an ionadaibh féin :
15 Agus dh'fholaich righre na
talmhainn, agus na daoine mòra,
agus na daoine saibhre, agus na h-àrd
cheannardan, agus na daoine cumh-
achdach, agus gach tràill [n], agus
gach duine saor, iad féin ann an
uamhaibh agus ann an creagaibh
nam beann ;

[h] *toimhsean.* [i] *uaine.* [l] *an uaigh.* [m] *plàigh bhàsmhoir.* [n] *daor-òglach.*

16 Agus thubhairt iad ris na sléibhtibh agus ris na creagaibh, Tuitibh oirnne, agus folaichibh sinn o ghnùis a ti a tha 'na shuidhe air an righ-chaithir, agus o fheirg an Uain?

17 Oir thainig latha mòr fheirge-san; agus cò a dh'fheudas seasamh?

CAIB. VII.

3 Tha aingeal a' cur teith air seirbh-isich Dhé 'nan eudainnibh. 4 Air-eamh na muinntir a sheulaicheadh do threubhaibh Israeil fa leth air-eamh shonraichte. 9 [illegible] cach eile cuideachd mhòr gun air-eamh, a tha 'nan seasamh an làthair na righ-chaithreach, air an sgead-achadh ann an trusganaibh geala, &c.

AGUS an déigh nan nithe sin chunnaic mi ceithir aingil 'nan seasamh air ceithir oisinnibh na talmhainn, a' cumail ceithir ghaotha na talmhainn, chum nach séideadh a' ghaoth air an talamh, no air an fhairge, no air aon chraobh.

2 Agus chunnaic mi aingeal eile ag éirigh o'n aird an ear, aig an robh seula an Dé bheo: agus ghlaodh e le guth mòr ris na ceithir aingil, d'an d'thugadh cumhachd cron a dhean-amh air an talamh agus air an fhairge,

3 Ag ràdh, Na deanaibh dochann do'n talamh, no do'n fhairge, no do na craobhaibh, gus an cuir sinn seula air seirbhisich ar Dé air clàraibh an eudain.

4 Agus chuala mi àireamh na droinge a sheulaicheadh; ceud agus dà fhichead agus ceithir mìle, a sheulaicheadh do uile threubhaibh chloinn Israeil.

5 Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Iudah. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Reubein. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Ghad.

6 Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Aseir. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Nephtalim. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Mhanaseis.

7 Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Shimeoin. Sheulaich-eadh dà mhìle dheug do thréibh Lebhi. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Isachair.

8 Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Shabulon. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Ioseiph. Sheulaicheadh dà mhìle dheug do thréibh Bheniamin.

9 An déigh so dh'amhairc mi, agus feuch, sluagh mòr, nach robh neach air bith comasach air àireamh, do gach uile chinneachaibh, agus threubhaibh, agus shluaghaibh, agus theangaibh, 'nan seasamh an làthair na righ-chaithreach, agus an làthair an Uain, air an sgeadachadh le trus-canaibh fada geala, agus pailm 'nan làmhaibh;

10 Agus ghlaodh iad le guth àrd, ag ràdh, Slàinte d'ar Dia-ne[q] a tha 'na shuidhe air an righ-chaithir, agus do'n Uan[p].

11 Agus sheas na h-aingil uile timchioll na righ-chaithreach, agus nan seanair, agus nan ceithir beathach; agus thuit iad air an aghaidh an làthair na righ-chaithreach, agus rinn iad aoradh do Dhia,

12 Ag ràdh, Amen: Moladh, agus glòir, agus gliocas, agus buidh-eachas, agus urram, agus cumhachd, agus neart gu robh d'ar Dia-ne gu saoghal nan saoghal. Amen.

13 Agus fhreagair aon do na seanairibh, ag ràdh rium, Cò iad sin a ta air an sgeadachadh le trusgan-aibh fada geala? agus cia as a thain-ig iad?

14 Agus thubhairt mi ris, A Thighearna, tha fios agadsa. Agus thubhairt e rium, Is iad so iadsan a thainig a h-amhghar[r] mhòr; agus nigh iad an trusgain, agus rinn iad geal iad ann am fuil an Uain.

15 Uime sin tha iad an làthair righ-chaithreach Dhé, agus a dean-amh aoraidh dha a là agus a dh'oidhche 'na theampull: agus gabhaidh an ti a tha 'na shuidhe air an righ-chaithir còmhnuidh 'nam measg.

16 Cha bhi ocras orra tuilleadh, no

[q] o ar Dia-ne. [p] o'n Uan. [r] trioblaid.

tart ni's mò; cha mhò a thuiteas a'
ghrian orra [s], no teas air bith.
17 Oir beathaichidh an t-Uan a
tha 'am meadhon na righ-chaith-
ich iad, agus treòraichidh e iad gu
tobraichibh do uisge na beatha: agus
tiormaichidh Dia gach deur o'n
sùilibh.

C A I B. VIII.

*1 'Nuair a dh'fhosgladh an seachd-
amh seula, 2 [illegible] trompaid-
ean air an tabhairt do sheachd
ainglibh: 3 Tha aingeal eile a'
cur tùis maille ri ùrnuighibh nan
naomh air an altair òir. 6 Tha
ceithir dhiubh a' séideadh an tromp-
aidean, agus plàigheanna mòra a'
leantuinn an lorg sin.*

AGUS an uair a dh'fhosgail e
an seachdamh seula, [illegible]
air nèamh mu thimchioll leth-uaire.
2 Agus chunnaic mi [illegible]
aingil a sheas am fianuis [illegible]
thugadh dhoibhsan [illegible] trompaid-
ean.
3 Agus thainig aingeal eile, agus
sheas e aig an altair, agus tùiseir òir
aige; agus thugadh dha mòran tùise,
chum gu'n d'thugadh se e [t] maille ri
ùrnuighibh nan uile naomh air an
altair òir, a bha'n làthair na righ-
chaithreach.
4 Agus chaidh deatach na tùise
suas maille ri ùrnuighibh nan naomh,
o làimh an aingil, an làthair Dhé.
5 Agus ghlac an t-aingeal an tùis-
eir, agus lion se e le téine na h-al-
taire, agus thilg e air an talamh e:
agus bha guthanna, agus tairnean-
aich, agus dealanaich, agus crith-
thalmhainn ann.
6 Agus dh'ullaich na seachd
aingil aig an robh na seachd tromp-
aidean iad féin, chum an séideadh.
7 Agus shéid an ceud aingeal,
agus bha clocha-meallain [u] ann, agus
teine air am measgadh le fuil, agus
thilgeadh air an talamh iad; agus
loisgeadh an treas cuid do na craobh-
aibh, agus am feur glas uile.
8 Agus shéid an dara aingeal,
agus thilgeadh mar gu'm bu bheinn
mhòr a' losgadh le teine anns an
fhairge: agus dh'fhàs an treas cuid
do'n fhairge 'na fuil:
9 Agus fhuair an treas cuid do
na creutairibh a bha anns an fhairge,
aig an robh anam, bàs; agus mhill-
eadh [a] an treas cuid do na longaibh.
10 Agus shéid an treas aingeal,
agus thuit reult mhòr o nèamh, a'
dearg-lasadh mar lòchran [b], agus
thuit i air an treas cuid do na h-aimh-
nibh, agus air na tobraichibh uisge:
11 Agus is e an t-ainm a ghoir-
ear do'n reult Burmaid: agus rinn-
eadh an treas cuid do na h-uisgibh
'nam burmaid; agus fhuair mòran
dhaoine bàs leis na h-uisgibh, do
bhrigh gu'n d'rinneadh searbh iad.
12 Agus shéid an ceathramh aing-
eal, agus bhuaileadh an treas cuid
do'n ghréin, agus an treas cuid do'n
ghealaich, agus an treas cuid do na
reultaibh; [illegible] gu'n d'rinneadh
an treas cuid diubh dorcha, agus nach
do dhealraich an là rè an treas cuid
dheth, no an oidhche air a' mhodh
cheudna.
13 Agus dh'amhairc mi, agus
chuala mi aingeal [c] ag itealaich 'am
am meadhon nèimhe, ag ràdh le guth
àrd, Is truagh, truagh, truagh, do
luchd-àiteachaidh na talmhainn, air
son guthanna eile trompaide nan tri
aingeal a tha fathast gu séideadh!

C A I B. IX.

*1 Air séideadh do'n chùigeadh aing-
eal, tha reult a' tuiteam o nèamh,
d'am bheil iuchair sluichd an dubh-
aigein air a tabhairt: 2 tha e
fosgladh an t-sluichd, agus tha
locuist cosmhuil ri scorpionaibh a'
teachd a mach. 12 Tha a' cheud
truaighe air dol thairis. 13 Tha
an seathadh trompaid air a séid-
eadh. 14 Tha ceithir aingil a bha
ceangailte, air am fuasgladh.*

AGUS shéid an cùigeadh aingeal
a thrompaid, agus chunnaic
mi reult a' tuiteam o nèamh chum na
talmhainn: agus thugadh dha iuch-
air sluichd an dubh-aigein [d].
2 Agus dh'fhosgail e slochd an

[s] *a bhuaileas, a loisgeas a ghrian iad.* [t] *gu'n ofraileadh se e.* [u] *cloich-
shneachd.* [a] *sgriosadh.* [b] *leus.* [c] *aon aingeal,* [d] *an t-sluic gun aigeal.*

dubh-aigein, agus dh'éirich deatach
as an t-slochd, mar dheataich àmh-
uinn mhòir [illegible], agus rinneadh
a' ghrian agus an t-athar dorcha, le
deataich an t-sluichd.
3 Agus thainig a mach as an deat-
aich air an talamh locuist; agus
thugadh cumhachd dhoibh, a rèir
mar a tha cumhachd aig scorpionaibh
na talmhainn.
4 Agus a dubhradh riu gun iad a
dheanamh dochann[g] air feur na
talmhainn, no air ni sam bith glas,
no air craoibh sam bith, ach aig na
daoinibh sin a mhàin aig nach 'eil
seula Dhé air clàr an eudain.
5 Agus thugadh dhoibh, cha'n e
gu marbhadh siad iad, ach gu'm
biodh iad air am pianadh rè chùig
mìosa: agus bha am pian cosmhuil
ri pian scorpioin, nuair a bhuaileas e
duine.
6 Agus anns na laithibh [illegible] iarr-
aidh daoine am bàs agus [illegible] fhaigh
iad e; agus bithidh dèidh [illegible]
bàsachadh, agus teichidh am bàs
uatha.
7 Agus bha cruth nan locust
cosmhuil ri h-eachaibh air an ullach-
adh chum catha; agus bha air an ceann
mar gu'm biodh crùin cosmhuil ri
h-òr, agus bha an aghaidhean cosmhuil
ri h-aghaidhibh dhaoine.
8 Agus bha folt orra cosmhuil ri
folt bhan, agus bha am fiacla mar
fhiacla leòmhan.
9 Agus bha aca uchd-éididhean,
mar uchd-éididhean iaruinn; agus
bha fuaim an sgiathan mar fhuaim
charbada mhòrain each a' ruith chum
catha.
10 Agus bha earbuill aca cosmhuil
ri scorpionaibh, agus bha gathanna
'nan earblaibh: agus b'e an cumhachd
daoine a chiurradh[f] rè chùig mìosa.
11 Agus bha righ aca os an cionn,
eadhon aingeal an dubh-aigein, agus
se's ainm dha san Eabhra Abadon,
ach anns a' Ghréigis 'se's ainm dha
Apolion.
12 Chaidh aon truaighe thairis;
feuch, tha dà thruaighe ri teachd
fathast an déigh so.
13 Agus shéid an seathadh aingeal
a thrompaid, agus chuala mi guth o
cheithir adharcaibh na h-altair òir, a
tha'n làthair Dé,
14 Ag radh ris an t-seathadh aingeal
aig an robh an trompaid, Fuasgail
na ceithir aingil a tha ceangailte aig
an amhainn mhòir Euphrates.
15 Agus dh'fhuasgladh na ceithir
aingil, a bha ullaichte fa chomhair
uaire, agus là, agus mìos, agus bliadh-
na, chum gu'm marbhadh iad an
treas cuid do dhaoinibh.
16 Agus b'e àireamh armailtean a'
mharcshluaigh fichead mìle do dheich
mìltibh: agus chuala mi an àireamh.
17 Agus mar so chunnaic mi na
h-eich anns an taisbeanadh, agus
iadsan a shuidh orra, aig an robh
uchd-éididhean do theine, [illegible]
[illegible] agus do phronnusc: agus
bha cinn nan each mar chinn leòmhan;
agus [illegible] thainig a mach teine,
agus [illegible] pronnusc.
18 [illegible] so mharbh-
adh an [illegible] do dhaoinibh, leis
an teine, agus leis an deataich, agus
leis a' phronnusc, a chaidh a mach as
am beoil.
19 Oir tha an cumhachd 'nan
beoil, agus 'nan earblaibh: oir bha an
earbuill cosmhuil ri nathraichibh
nimhe, agus bha cinn aca, agus leo
sin ni iad dochann[h].
20 Agus cha do ghabh a' chuid
eile do na daoinibh, nach do mharbhadh
leis na plàighibh sin, aithreachas do
oibribh an làmh, ionnus nach tugadh
iad aoradh do dheamhnaibh, agus do
dhealbhaibh òir, agus airgid, agus
umha, agus cloiche, agus fiodha
nach urradh faicinn, no chluinntinn,
no imeachd:
21 Agus cha mhò a ghabh iad
aithreachas d'am mortaibh, no d'am
striopachas, no d'an gadachdaibh.

CAIB. X.

1 *Tha e faicinn aingil thréin aig an robh leabhar fosgailte 'na làimh: 6 neach a tha toirt mionnan airsan a tha beo gu siorruidh, nach bi aimsir ni's mò ann: 9 tha àithne air a toirt do Eoin an leabhar a ghabhail agus itheadh.*

[e] dochoir, cron. [f] a ghortuchadh [g] ghronustal. [h] cron.

AGUS chunnaic mi aingeal cumh-
achdach eile a' teach[illegible] a nuas
o n[illegible]mh, air a [illegible]geadachadh [illegible] neul,
[illegible]s bogha-froi[illegible] air a chea[illegible], agus
ag[illegible]idh mar a' ghrian, agus [illegible]a chosa
mar [illegible]hostaibh teine.
2 Ag[illegible] bh[illegible] aige 'na làimh l[illegible]abhran
fosgailte: ag[illegible]s chuir e a chos [illegible]heas
air an fhairg[illegible] agus *a chos* chli [illegible]r an
talamh,
3 Agus ghlae[illegible] le guth [illegible]rd,
mar a bheuchdas leo[illegible] agu[illegible] an
uair a ghlaodh e, labh[illegible] se[illegible]hd
tairneanaich an guthanna féi[illegible].
4 Agus an uair a labhair na [illegible]
eanaich an guthanna féin, bha m[illegible]ol
a scrìobhadh: agus chuala mi gut[illegible] o
nèamh, ag ràdh rium[illegible] Seula[illegible] na
nithe a labhair na seachd tairnea[illegible]ch,
agus na scrìobh iad.
5 Agus thog an t-ainge[illegible]
[illegible]na sheasa[illegible] air [illegible]
air an talamh, a[illegible]
6 Agus mhion[illegible] an a
beo gu saoghal nan sa[illegible] a chruth-
[illegible] agus na nithe a ta ann,
agus an talamh agus na nithe a ta ann,
agus an fhairge agus na nithe a ta
innte, Nach bi aimsir ann ni's mò[m];
7 Ach ann an làithibh gutha an
t-seachdamh aingil, 'nuair a thòisich-
eas e air séideadh, an sin gu'm biodh
rùn-dìomhair Dhé air a chrìochnach-
adh, mar a dh'innis e d'a sheirbhisich
na fàidhean.
8 Agus labhair an guth a chuala
mi o nèamh, rium a rìs, agus thubh-
airt e, Imich, glac an leabhran a tha
fosgailte ann an làimh an aingil a tha
'na sheasamh air an fhairge, agus air
an talamh.
9 Agus chaidh mi dh'ionnsuidh an
aingil, agus thubhairt mi ris, Thoir
dhomhsa an leabhran: agus a deir
e-san rium, Glac, agus ith suas e; agus
ni e do bhroinn searbh, ach bithidh e
ann do bheul milis mar mhil.
10 Agus ghlac mi an leabhran a
làimh an aingil, agus dh'ith mi suas
e; agus bha e ann mo bheul milis
mar mhil: agus an uair a dh'ith mi
e, rinneadh mo bhrù searbh.
11 Agus thubhairt e rium, Is éigin
duit a rìs fàidheadaireachd a dhean-
amh am fianuis shlògh, agus chinn-
each, agus theanga, agus righre lion-
mhor.

C A I B. XI.

3 *Tha an dà fhia[illegible]uis a' deanamh fàidheadaireach[illegible]: 6 tha cumhachd aca nèamh [illegible] dhruideadh, ionnas nach bi uisge ann: 7 ni am béist cogadh 'nan aghaidh, agus marbhaidh e iad: 8 luidhidh iad gun an adhlac, 11 agus an dèigh thri làithean agus leth là tha iad ag éirigh a rìs. 14 Tha'n dara truaighe air dol thairis. 16 Tha an seachdamh trompaid air a séid[illegible]cadh.*

A[illegible]GUS thugadh dhomh cuilc
[illegible] cosmhuil ri slait: agus sheas
[illegible]ingeal, ag ràdh, Eirich, agus
[illegible]is teampull Dhé, agus an altair,
[illegible] a tha deanamh aoraidh
[illegible]
[illegible] Ach fàg a mach a' chùirt a
tha'n taobh a muigh do'n teampull,
agus 'na tomhais i; oir thugadh i do
na Cinnich: agus saltraidh iad
fuidh'n cosaibh a' chathai[n] naoidh-
rè dhà mhìos agus dhà fhichead.
3 Agus bheir mise *cumhachd* do m'
dhithis fhianuisean, agus ni iad
fàidheadaireachd ré mìle agus dà
cheud agus tri fichead là, eudaichte
ann an saic-eudach.
4 Is iad so an dà *chrann* ola, agus
an dà choinnleir a tha 'nan seasamh
an làthair Dhé na talmhainn.
5 Agus ma chiurras neach air bith
iad, théid teine a mach as am beul,
agus claoidhidh e an naimhdean: agus
ma chiurras neach air bith iad, is éigin
da bhi air a mharbhadh mar so.
6 Tha cumhachd aca so nèamh a
dhùnadh ionnas nach bi uisge ann,
ann an làithibh am fàidheadaireachd-
san: agus tha cumhachd aca air uisg-
ibh chum an tionndadh gu fuil, agus
an talamh a bhualadh leis an uile
phlàigh, co minic 's is toil leo.
7 Agus an uair a chrìochnaicheas
iad am fianuis, ni am fiadh-bheathach[o]
a dh'éireas as an t-slochd gun aigeal[p]

[i] *bogha-uisge.* [l] *dh'éigh.* [m] *Nach bi'n aimsir ann fathast,* [n] *am baile.*
[o] *am béisd.* [p] *gun ghrund.*

cogadh 'nan aghaidh, agus bheir e
buaidh orra, agus marbhaidh e iad.
8 Agus bithidh an cuirp mharbha
'nan luidhe ann an sràid na cathracha
mòire, d'an goirear gu spioradail Sod-
om agus an Eiphit, far an [illegible] ceudna
an do cheusadh ar Tighearn.
9 Agus chi cuid do na sluaghaibh,
agus do threubhaibh, agus do theang-
aibh, agus do chinneachaibh, an cuirp
mharbha re thri làithean gu leth, agus
cha leig iad an cuirp mharbha a chur
ann an uaighibh.
10 Agus ni luchd-àiteachaidh na
talmhainn gairdeachas os an ceann,
agus bithidh iad subhach, agus cuir-
idh iad tiodhlaicean[r] d'a chéile
[illegible]; do bhrigh gu'n do phian an
dà fhaidh so iadsan a bha chòmhnuidh
air an talamh.
11 Agus an deigh thri làithean gu
leth, chaidh Spiorad na beatha o [illegible]
a steach annta, agus sheas [illegible]
[illegible] agus thuit eagal [illegible]
a chunnaic iad.
12 Agus chual iad guth mòr o
nèamh, ag ràdh riu, Thigibh a nios
an so. Agus chaidh iad suas do
nèamh an neul, agus chunnaic an
naimhdean iad.
13 Agus anns an uair sin féin bha
crith mhòr thalmhainn ann, agus
thuit an deicheamh cuid do'n chaith-
ir[s], agus mharbhadh seachd mìle
pearsa sa' chrith-thalmhainn[t]; agus
ghabh a' chuid eile eagal, agus thug
iad glòir do Dhia nèimhe.
14 Chaidh an dara truaighe thairis;
feuch, thig an treas truaighe gu
h-aithghearr.
15 Agus shéid an seachdamh aing-
eal a thrompaid, agus bha guthanna
mòra air nèamh, ag ràdh, Rinneadh
rìoghachdan an t-saoghail 'nan rìogh-
achdaibh d'ar Tighearn, agus d'a
Chriosdsan, agus bithidh e 'na Righ
gu saoghal nan saoghal.
16 Agus thuit na ceithir seanaire
fichead a bha 'nan suidhe air an caith-
richibh am fianuis Dé, sìos air an
aghaidh, agus rinn iad aoradh do
Dhia,
17 Ag ràdh, Bheireamaid buidh-
eachas duitse, O Thighearna Dhé
uile-chumhachdaich, [illegible] ta, agus a bha,
agus a bhitheas, air son gu'n do
ghabh thu do chumhachd [illegible] a
t'ionnsaidh, agus gu'n do rioghaich
thu.
18 Agus bha fearg air na cinnich,
agus thàinig [illegible], agus [illegible]
mharbh gu'n [illegible] orra,
agus gu'n d'thug[illegible] duais do d'
sheirbhisich [illegible], agus do na
naoimh, agus [illegible] air am bheil
eagal t'ainm, [illegible] big agus do na
mòir, agus gu [illegible] iadsan a
sgrios an talamh.
19 Agus dh'fhosgladh teampull
Dhé air nèamh, agus chunncas ann a
th[illegible] teampull àirc a choimh-cheangail;
agus bha [illegible], agus guthanna,
agus [illegible] agus crith-thal-
[illegible] agus clach-mheallain mòra.

CAIB. XII.

[illegible] leis a'
ghrèin [illegible] air-chlomun: 4
Tha'n [illegible]
amh fo [illegible] gus a lean-
abh a shlugadh suas. 6 'Nuair a
[illegible] teich i do'n fhàsach.
7 Tha Michael agus ainglil a' cog-
adh an [illegible] dragoin. 13
Tha an dragon an deigh a thilgeadh
sìos air [illegible] a' dian-ruagadh
na mnà.

AGUS [illegible] iongantas mòr
air nèamh, [illegible] air a sgead-
achadh leis a' ghrèin, agus a' gheal-
ach fuidh a cosaibh, agus air a ceann
crùn do dhà reult dheug.
2 Agus air dhi bhi torrach, ghlaodh
i, ri saothair-chloinne, agus bha i air
a pianadh chum a h-aisead.
3 Agus chunncas iongantas eile air
nèamh, agus feuch, dragon[a] mòr
dearg, aig an robh seachd cinn, agus
deich adhaircean, agus air a chinn
seachd crùin.
4 Agus tharruing earball an treas
cuid do reultaibh nèimhe, agus thilg
e iad chum na talmhainn: agus sheas
an dragon fa chomhair na mnà a bha
ullamh gu bhi air a h-aisead, chum a
leanabh a shlugadh suas 'nuair a bheir-
eadh i e.

[r] gibhtean. [s] bhaile. [t] leis a' chrith-thalmhainn. [u] thruailleas. [a] uabheist.

5 Agus rug i leanabh mic, a bha
gus na cinnich uile a riaghladh le slait
iaruinn: agus thogadh a leanabh suas
chum Dhé, agus *chum* a righ-chaith-
eachsan.
6 Agus theich a' bhean do'n fhàs-
ach, far am bheil aice ionad air ulluch-
adh le Dia, chum gu'n biodh i air a
beathachadh an sin mìle *agus* dà
cheud *agus* trì fichead là.
7 Agus bha cogadh air nèamh;
rinn Michael agus ainglean cogadh an
aghaidh an dragoin, agus chog an
dragon agus aingil féin;
8 Agus cha d'thug iad buaidh; cha
mhò a fhuaradh an aite ni's mò air
nèamh.
9 Agus thilgeadh a mach an dragon
mòr, an t-seann nathair, ris an
goirear an diabhul ...
mealladh an t ...
adh a mach ...
agus thilgeadh ...
ris.
10 Agus chual a i ... mòr ag
ràdh ... nèamh, A nis tha slàinte
agus neart, agus rioghachd ar Dé-ne,
agus cumhachd a Chriosd air teachd;
oir thilgeadh sìos fear-casaid ar
bràithre, a bha 'gan casaid an làthair
ar Dé-ne a là agus a dh'oidhche.
11 Agus thug iad buaidh air tre
fhuil an Uain, agus tre fhocal am
fianuis-san; agus cha do ghràdhaich
iad an anama féin gu bàs.
12 Uime sin biodh gairdeachas
oirbh, o a nèamha, agus oirbhse a tha
'nar còmhnuidh annta. Anaoibhinn
do luchd-àiteachaidh na talmhainn,
agus na fairge! oir thainig an diabhol
a nuas d'ar n-ionnsuidh, agus fearg
ro mhòr air, do bhrigh gur fiosrach e
nach 'eil aige ach ùine ghearr.
13 Agus an uair a chunnaic an
dragon gu'n do thilgeadh e chum na
talmhainn, rinn e geur-leanmhuinn
air a' mhnaoi a rug an *leanabh*
mic.
14 Agus do'n mhnaoi thugadh dà
sgéith iolaire mòire, chum gu'n rach-
adh i air itealaich leo do'n fhàsach,
chum a h-ionaid *féin*; far am bheil i
air a h-altrum rè aimsir, agus aimsir-
ean, agus leth-aimsir[b], o aghaidh
na nathrach.
15 Agus thilg an nathair as a
beul uisge mar thuil, an déigh na
mnà, chum gu'n d'thugadh i oirre
bhi air a giùlan air falbh leis an
t-sruth.
16 Agus rinn an talamh còmh-
nadh ris a' mhnaoi, agus dh'fhosgail
an talamh a bheul, agus shluig e
suas an *tuil* a thilg an dragon as a
bheul.
17 Agus bha fearg air an dragon
ris a' mhnaoi, agus chaidh e dhean-
amh cogaidh ris a' chuid eile d'a
sliochd, a tha coimhead[c] àitheanta
Dhé, agus aig am bheil fianuis Iosa
Criosd.

CAIB. XIII.

*... fiadh-bheathach ag eirigh as
an fhairge le seachd cinn agus
... adhaircean: dhasan tha an
dragon a' toirt a chumhachd. 11
Tha fiadh-bheathach eile a' teachd
a nìos as an talamh, 14 agus a'
toirt fainear dealbh bhi air a
dheanamh do'n cheud fhiadh-
bheathach, 15 agus gu'n dean-
adh daoine aoradh dha, 16 agus
gu'n gabhadh iad a chomhara.*

AGUS sheas mi air gaineamh na
fairge, agus chunnaic mi fiadh-
bheathach[d] ag éirigh suas as an
fhairge, aig an robh seachd cinn, agus
deich adhaircean, agus air adharcaibh
deich crùin, agus air a chinn ainm
toibheim[e].
2 Agus bu chosmhuil am fiadh-
bheathach a chunnaic mi ri leopard,
agus bha a chosan mar *chosaibh* math-
ghamhna, agus a bheul mar bheul
leomhain: agus thug an dragon a
neart, agus a chaithir[f], agus cumh-
achd mòr dha.
3 Agus chunnaic mi aon d'a
cheannaibh mar gu'm biodh e air a
lotadh gu bàs; agus leighiseadh a
chneadh bhàsmhor: agus ghabh an
talamh uile iongantas an déigh an
fhiadh-bheathaich.
4 Agus rinn iad aoradh do'n
dragon, a thug a chumhachd do'n

[b] *àm, agus amanna, agus leth-àm. Dia-mhaslachaidh.*
[c] *gleidheadh.* [d] *béist.* [e] *ainmean* [f] *a rìgh-chaithir.*

fhiadh-bheathach: agus rinn iad aoradh do'n fhiadh-bh[illegible]
radh, C[illegible] cosmhuil ri [illegible]
bheatha[illegible] Cò a [illegible]
cogadh [illegible]
5 Agus [illegible]adh dha [illegible]
airt nithe mòra, agus [illegible]
agus thugadh cumhachd [illegible]
a dheanamh [illegible]
fhichead.
6 Agus [illegible] fhosgail [illegible]
an toibheum [illegible] aghaidh [illegible]
toibheum a thabhairt d'a ainm [illegible]
phàillein[g], agus do'n [illegible]
'nan comhnuidh ann [illegible]
7 Agus thugadh dh[illegible]
dheanamh air [illegible] ghaidh [illegible]
agus buaidh a thoirt [illegible]
thugadh dha [illegible]
gach uile threibh, agus [illegible]
agus chinnich.
8 Agus ni iadsan uile [illegible]
còmhnuidh air an talamh [illegible]
aig nach [illegible] an ainmean [illegible]
ann an leabhar beatha [illegible]
mharbhadh o thoiseach an t-saoghail.
9 Ma tha cluas aig neach air bith [illegible]
éisdeadh e.
10 Ma bheir neach air bith an
braighdeanas, théid e [illegible]
eanas: ma mharbhas neach [illegible]
leis a' chlaidheamh, is éigin [illegible]
bhi air a mharbhadh leis [illegible]
eamh. Is ann an so a tha [illegible]
agus creidimh nan naomh.
11 Agus chunnaic mi fiadh-bheathach eile ag éirigh as an talamh; agus
bha aige dà adhairc cosmhuil ri uan,
agus labhair e mar dhragon.
12 Agus tha e a' cur an gnìomh
cumhachd a' cheud fhiadh-bheathaich uile 'na fhianuis, agus tha e
toirt air an talamh, agus orrasan a
tha 'nan còmhnuidh ann, aoradh
dheanamh do'n cheud fhiadh-bheathach, aig an robh a lot bàsmhor air a
leigheas.
13 Agus tha e a' deanamh chomharra mòra, ionnas gu bheil e toirt air
teine teachd a nuas o nèamh air an
talamh, ann am fianuis dhaoine.
14 Agus tha e a' mealladh na
droinge a tha nan còmhnuidh air an
talamh, leis na comharaibh sin a
thugadh dha a dheanamh an làthair
an fhiadh-bheathaich, ag ràdh ri
luchd-àiteachaidh na talmhainn,
iomhaigh a dheanamh do'n bheathach
aig an robh an lot claidheimh, agus
a bha beò.
15 Agus thugadh cumhachd dha
beatha a thoirt do iomhaigh an
fhiadh-bheathaich, ionnas gu'n labhradh iomhaigh an fhiadh-bheathaich,
agus gu'n d'thugadh e fainear gu'm
biodh a mhuinntir nach deanadh aoradh do iomhaigh an fhiadh-bheathaich,
air am marbhadh.
16 Agus tha e toirt air na h-uile
[illegible], araon beag agus mòr, saibhir
agus daibhir[i], saor agus daor, comhar
[illegible]bhail air an làimh dheis, no air
[illegible]
[illegible] fhaodadh neach sam
[illegible], ach esan aig
[illegible] no ainm [illegible]
[illegible] ainm[l] inne.
[illegible]eas. An ti aig
[illegible] tha [illegible] e àir-
[illegible] an fhiadh-bheathaich: oir is
[illegible] duine e: agus [illegible] e aireamh
[illegible] agus tri fichead agus sea.

CAIB. XIV.

*[illegible] Uan 'na sheasamh air sliabh
[illegible] maille r'a chuideachd. 6
[illegible] ingeal a' searmonachadh an
[illegible] eil. 8 Tuiteam Bhabiloin.
[illegible] ghara an t-saoghail, agus
cur a' chorrain ann. 20 Foghara
agus preas-fìona feirge Dhé.*

AGUS dh'amhairc mi, agus
feuch, Uan 'na sheasamh air
sliabh Shioin, agus maille ris ceud
agus dà fhichead agus ceithir mìle,
aig an robh ainm Athar-san scrìobhta
air clàr an eudain.
2 Agus chuala mi guth o fhlaitheanas, mar fhuaim mhòrain uisgeacha, agus mar fhuaim tairneanaich
mhòir; agus chuala mi fuaim chlàrsairean, a' deanamh ciuil le'n clàrsaichibh féin.
3 Agus chan iad mar gu'm b'òran
nuadh e an làthair na righ-chaithreach, agus an làthair nan ceithir
bheathach, agus nan seanair: agus
cha b'urradh neach sam bith an

[g] thabernacal. [h] spiorad. [i] bochd. [l] cunntadh.

t-òran sin fhòghlum, ach an ceud agus dà fhichead agus na ceithir mìle, a shaoradh [m] o'n talamh.

4 Is iad so an dream nach do [illegible]laicheadh le mnàibh; oir is òighean iad: is iad so an dream a tha leantuinn an Uain ge b'e àit an d'théid e: [illegible]adh iad so o mheasg dhaoine, 'nan ce[illegible]adh do Dhia, agus do'n Ua[illegible]

5 Agus 'nam [illegible] cha d'fhuaradh cealg: oir tha iad [illegible]ochd [illegible] an làthair righ-chaithreach D[illegible].

6 Agus chunnaic mi ain[illegible]l e[illegible]e ag itealaich ann an meadhon n[illegible]ie, aig an robh an soisgeul siorruidh [illegible] a shearmonachadh dhoibhsan a [illegible]a 'nan còmhnuidh air an talamh, agus [illegible] gach uile chinne[illegible]h, agus theangaidh, [illegible]

7 Ag ràdh le [illegible] Dhe[illegible]h, [illegible] Dè cir[illegible]h, [illegible]gaibh glòir [illegible], oir thainig [illegible]reach[illegible]s: agus deanaibh a[illegible] dha[illegible] [illegible] nèamh, agus talam[illegible] fhairge, agus na tobair [illegible]ge.

8 Agus lean aingeal eile, ag ràdh, Thuit, thuit Babilon, a' chathair mhòr [o] sin, do bhrìgh gu'n d'thug i air gach uile chinneach òl do fhìon feirge a strìopachais.

9 Agus lean an treas aingeal iad, ag ràdh le guth àrd, Ma ni neach air bith aoradh do'n fhiadh-bheathach, agus d'a dhealbh, agus ma ghabhas e a chomhara air clàr eudain, no air a làimh,

10 Olaidh esan do fhìon feirge Dhé, a tha air a dhòrtadh gun mheasgadh, ann an cupan fheirge-san; agus bithidh e air a phianadh le teine agus pronnasc, am fianuis nan aingeal naomha, agus am fianuis an Uain.

11 Agus bithidh deatach am péinesan ag éirigh suas gu saoghal nan saoghal: agus cha 'n'eil fois sam bith a là no dh'oidhche aca-san a ni aoradh do'n fhiadh-bheathach agus d'a dhealbh, no aig neach air bith a ghabhas comhara ainmesan.

12 An so tha foighidin nan naomh: an so tha'n dream a choimhideas àitheanta Dhé, agus creidimh Iosa.

13 Agus chuala mi guth o nèamh, ag ràdh rium, Scrìobh, *Is* beannuichte na mairbh a gheibh bàs san Tighearn, a so a mach: seadh, a deir an Spiorad, chum gu faigh iad fois o'n saothair; agus leanaidh an oibre iad.

14 Agus dh'amhairc mi, agus feuch, neul geal, agus air an neul *neach* 'na shuidhe cosmhuil ri Mac an duine, aig an robh crùn òir air a cheann, agus corran geur 'na làimh.

15 Agus thainig aingeal eile mach as an teampull, a' glaodhaich le guth àrd ris an ti a bha 'na shuidhe air an neul, Sàth a steach do chorran, agus buain: oir thainig àm dhuit buain; oir tha fo[illegible] na talmhainn abuich.

16 Agus shàth an ti a bha 'na shuidhe air an neul, a chorran san talamh; agus bhuaineadh an talamh.

17 Agus thainig aingeal eile mach as an teampull a ta air nèamh, agus [illegible] geur aige-san mar an ceudna.

18 Agus thainig aingeal eile mach o'n altair, aig an robh cumhachd os cionn teine, agus ghlaodh e le glaodh àrd ris an ti aig an robh an corran geur, ag ràdh, Sàth a steach do chorran geur, agus cnuasaich baguidean [p] fìonain na talmhainn: oir a ta a fìon-dhearcan làn abuich.

19 Agus shàth an t-aingeal a chorran san talamh, agus chnuasaich e fìonain na talmhainn, agus thilg e i ann am fìon-amar mòr feirge Dhé.

20 Agus shaltradh am fìon-amar an taobh a muigh do'n chathair, agus thainig fuil a mach as an fhìon-amar, gu srian nan each, feadh mhìle agus shea ceud stàid [r].

CAIB. XV.

1 *Na seachd aingil leis na seachd plàighibh deireannach.* 3 *Oran na muinntir a bhuadhaicheas air an fhiadh-bheathach.* 7 *Na seachd soithiche làn do fheirg Dhé.*

AGUS chunnaic mi comhara eile air nèamh, mòr agus iongantach, seachd aingil aig an robh na seachd plàighean deireannach; oir

[m] *cheannuicheadh.* [n] *gun smal.* [o] *am baile mòr.* [p] *triopuill.*
[r] *i. e. an t-ochdamh cuid do mhìle fearainn.*

annta so tha fearg Dhé air a coimhlìonadh.

2 Agus chunnaic mi mar gu'm b'fhairge ghloine, air a measgadh le teine, agus iadsan a dhuisg buaidh air an fhiadh-bheathach, agus air a dhealbh, agus air a chomhara, [agus] air àireamh ainme 'nan seasamh air an fhairge ghloine, agus clàrsaiche Dhé aca.

3 Agus tha iad a' seinn'nn òrain Mhaois[s] òglaich Dhé, agus òrain an Uain, ag ràdh, *Is mòr, agus is iongantach t'oibre,* a Thighearna Dhé uile-chumhachdaich; *is ceart agus is* fìor do shlighean-sa, a Righ nan naomh.

4 Cò air nach bi eagal romhad, O Thighearna, agus nach toir e glòir do t'ainm? oir *is tusa a mhàin a ta* naomha: oir thig na h-uile chinneach, agus ni iad aoradh 'n do làthair; do bhrigh gu bheil do bhreitheanais air an deanamh follaiseach.

5 Agus an déigh so dh'amhairc mi, agus feuch, dh'fhosgladh teampull pàilliuin na fianuis air nèamh.

6 Agus thainig a mach as an teampull na seachd aingil, aig an robh na seachd plàighean, air an sgeadachadh le lìon-eudach glan agus dealrach, agus air an criosrachadh[u] mu'n uchd le criosaibh òir.

7 Agus thug aon do na ceithir bheathaichibh do na seachd aingil seachd soithichean òir, làn do fheirg an Dé a ta beo gu saoghal nan saoghal.

8 Agus lìonadh an teampull le deataich o ghlòir Dhé, agus o chumhachdsan; agus cha b'urradh neach sam bith dol a stigh do'n teampull, gus am biodh seachd plàighean nan seachd aingeal air an coimhlionadh.

CAIB. XVI.

1 *Tha na h-aingil a' dòrtadh mach an soithiche làn do fheirg:* 6 *Na plàighean a tha leantuinn air sin.* 15 *Thig Crìosd mar ghaduiche. Is beannuichte iadsan a ni faire.*

AGUS chuala mi guth mòr as an teampull, ag ràdh ris na seachd aingil, Imichibh, agus taomaibh soithiche feirge Dhé air an talamh.

2 Agus dh'imich an ceud *aingeal*, agus thaom e a shoitheach air an talamh; agus dh'éirich droch neasgaid nimhneach air na daoinibh sin aig an robh comhara an fhiadh-bheathaich, agus *orrasan* a rinn aoradh d'a dhealbh.

3 Agus thaom an dara aingeal a shoitheach sin 'san fhairge; agus rinneadh i mar fhuil duine mhairbh: agus fhuair gach anam beo bàs anns an fhairge.

4 Agus thaom an treas aingeal a shoitheach anns na h-aimhnichibh agus anns na tobraichibh uisge; agus rinneadh iad 'nam fuil.

5 Agus chuala mi aingeal nan uisgeacha ag ràdh, Is cothromach thu, O [illegible], agus a bha, agus [illegible] gu'n d'thug thu breth [illegible]:

6 Oir [illegible] fuil [illegible] agus [illegible] thug thusa dhoibh fuil [illegible]; oir is toillteanach iad.

7 Agus chuala mi [illegible] o'n altair ag ràdh, Seadh, a Thighearna Dhé uile-chumhachdaich, *is* fìor agus cothromach do bhreitheanais.

8 Agus thaom an ceathramh aingeal a shoitheach air a' ghréin; agus thugadh *comas* dhi daoine a phianadh le teine mòr.

9 Agus [illegible] daoine le an losgadh le teas mòr, agus thug iad toibheum do ainm Dhé, aig am bheil cumhachd air na plàighibh sin: agus cha d'rinn iad aithreachas, chum glòir a thoirt dhasan.

10 Agus thaom an cùigeadh aingeal a shoitheach air rìgh-chaithir an fhiadh-bheathaich; agus rinneadh a rìoghachd dorcha, agus chagainn *daoine* an teanga tre phéin,

11 Agus thug iad toibheum[a] do Dhia nèimhe air son am pianta agus an creuchda, agus cha do ghabh iad aithreachas d'an gnìomharaibh.

12 Agus thaom an seathadh aingeal a shoitheach air an amhuinn mhòir Euphrates; agus thiormaicheadh a h-uisge, chum gu'n ulluichteadh slighe rìghrean na h-àirde 'n ear.

[s] *chan iad laoidh Mhaois.* [t] *geal.* [u] *air an criosrachadh.* [a] *masladh.*

13 Agus chunnaic mi *teachd* a
mach a beul an dragoin, agus a beul
an fhiadh-bheathaich, agus a beul
an fhàidh-bhréige, tri spiorada neo-
ghlana, cosmhuil ri losguinn.
14 Oir is iad *sin* spiorada dheamh-
an, a' dèanamh chomhara, a tha dol a
mach chum righre na talmhainn,
agus an domhain uile, gu'n cruinn-
eachadh chum catha là mhòir sin
an Dé uile-chumhachdaich.
15 Feuch, ataim a' teachd mar
ghaduiche. *Is* beannuichte esan a ni
faire, agus a ghleidheas eudach, chum
nach imich e lomnochd, agus nach
faic *daoine* a nàire.
16 Agus chruinnich e iad r'a
chéile chum ionaid [illegible] san
Eabhra, Armaged[illegible] ghrinn[illegible]
17 Agus tha[illegible] [illegible] [illegible]
aingeal a shoi[illegible] [illegible] athar[b];
[illegible] thainig g[illegible] [illegible]or a mach a
teampull nèimh, o'n righ-chaithir,
ag ràdh, Tha e de[illegible]
18 Agus bh[illegible] guthanna, agus
tairneanaich, agus dealanaich ann;
agus bha crith mhor thalmhainn ann,
nach robh a leithid ann o bha daoine
air an talamh, a samhuil do chrith-
thalmhainn co mòr.
19 Agus bha a' chathair mhòr[c]
air a roinn 'na tri earrannaibh, agus
thuit cathraiche nan cinneach: agus
thainig Babilon mhòr an cuimhne an
làthair Dhé, a thoirt di copan fìona
fraoich fheirge[d].
20 Agus theich gach uile eilean
as, agus cha d'fhuaradh na beannta.
21 Agus thainig clacha-meallain
mòra[e] a nuas o nèamh air daoinibh,
gach clach co throm ri talann: agus
thug daoine toibheum do Dhia, air
son plàigh nan clacha-meallain; oir
bha am plàighsan ro mhòr.

CAIB. XVII.

1 *Tha bean, air a sgeadachadh le
purpur agus scarlaid, agus copan
òir 'na làimh, 'na suidh air an
fhiadh-bheathach,* 5 *neach a's i
Babilon mhòr, màthair nan-gràin-
ealachd.* 9 *Eadar-mhìneachadh
nan seachd ceann,* 12 *agus nan
deich adharc.* 14 *Buaidh an Uain;*
16 *agus peanas na strìopaiche.*

AGUS thainig aon do na seachd
aingil aig an robh na seachd
soithichean, agus labhair e rium, ag
ràdh rium, Thig an so; nochdaidh
mi dhuit breitheanas na strìopaiche
mòire, a tha 'na suidhe air mòran
uisgeacha:
2 Ris an d'rinn righre na tal-
mhiann strìopachas, agus aig an do
chuireadh luchd-àiteachaidh na tal-
mhiann air mhisg le fìon a strìopach-
ais.
3 Agus thug e leis mi anns an
spiorad do'n fhàsach: agus chunnaic
mi bean 'na suidhe air fiadh-bheath-
ach [illegible]dhath scarlaid, làn do ainm-
ibh toibheim[f], air an robh seachd
cinn agus deich adhaircean.
4 [illegible] air a sgeadach-
adh [illegible] purpur, agus ann an
scarlaid, agus air a deanamh breagha
le h-òr agus clachaibh luachmhor
agus neamhnuidibh, agus copan òir
aice 'na làimh, làn do ghràineileachd
agus do neo-ghloine a strìopachais.
5 Agus air clàr a h-eudain *bha*
ainm scrìobhta, RUN-DIOMHAIR,
BABILON MHOR, MATHAIR
NAN STRIOPACH AGUS
GHRAINEILEACHDA NA
TALMHAINN.
6 Agus chunnaic mi a' bhean air
mhisg le fuil nan naomh, agus le
fuil fhianuisean[g] Iosa: agus an
uair a chunnaic mi i, ghabh mi iong-
antàs le h-iongantas mòr.
7 Agus thubhairt an t-aingeal
rium, C'ar son a ghabh thu iongantas?
Innsidh mise dhuit rùn-dìomhair na
mnà, agus an fhiadh-bheathaich a
tha 'ga giùlan, air am bheil na
seachd cinn agus an deich adhaircean.
8 Am fiadh-bheathach a chunnaic
thu, bha e, agus cha 'n'eil e ann;
agus èiridh e suas a slochd an dubh-
aigein[h], agus théid e am mughai[i]:
agus gabhaibh luchd-àiteachaidh na
talmhainn, (aig nach 'eil an ainmeanna
scrìobhta ann an leabhar na beatha

[b] *aidhear.* [c] *am baile mòr.* [d] *fheirge ro gharg.* [e] *cloich-shneachd
mhòr.* [f] *Dia-mhaslachaidh.* [g] *mhairtireach.* [h] *as an-t-slochd gun
ghrunnd.* [i] *sgriosar e.*

o thoiseach an t-saoghail) iongantas,
'nuair a chi iad am fiadh-bheathach
a bha, agus nach 'eil, agus a bhith-
eas ann [m].

9 An so ta an inntinn aig am bheil
gliocas: Na seachd cinn is seachd
sléibhtean iad, air am bheil a' bhean
'na suidhe.

10 Is seachd righrean iad mar an
ceudna: tha cuig dhiubh air tuiteam,
agus a ta h-aon ann: cha d'thainig
am fear eile fathast, agus an uair a
thig e, is éigin da fantuinn re ùine
bhig.

11 Agus am fiadh-bheathach a
bha, agus nach 'eil ann, is esan an
t-ochdamh, agus tha e o'n t-seachd-
nar, agus théid e am mugha.

12 Agus na deich adhaircean a
chunnaic thu, is deich righrean iad,
nach d'fhuair rioghachd fathast, ach
a ta faotainn cumhachd mar righ-
rean rè aon uair maille ris an
fhiadh-bheathach.

13 Tha aca sin aon inntinn, agus
bheir iad an neart agus an cumhachd
do'n fhiadh-bheathach.

14 Ni iad sin cogadh an aghaidh
an Uain, agus bheir an t-Uan buaidh
orra: oir is esan Tighearna nan
Tighearna, agus Righ nan righ; agus
tha an dream a tha maille ris, air an
gairm, agus air an taghadh, agus dìleas.

15 Agus a deir e rium, Na
h-uisgeachan a chunnaic thu, far am
bheil an striopach 'na suidhe, is
slòigh, agus coimhthionail, agus cinn-
ich, agus teangaanna iad.

16 Agus na deich adhaircean a
chunnaic thu air an fhiadh-bheath-
ach, bheir iad sin fuath do'n striop-
aich, agus ni iad fàs i, agus lomnochd,
agus ithidh iad a feòil, agus loisgidh
iad i le teine.

17 Oir chuir Dia 'nan cridhe a
thoil a choimhlionadh, agus a bhi
dh'aon chombairle, agus an riogh-
achd a thoirt do'n fhiadh-bheath-
ach, gus an coimhlionar briathran
Dhé.

18 Agus is i a' bhean a chunnaic
thusa, a' chaithir mhòr [o] sin, a tha
rioghachadh [p] os cionn righre na
talmhainn.

CAIB. XVIII.

2 Tha Babilon air tuiteam: 4 na h-àithne air a toirt do phobull Dé imeachd aiste: 9 tha righre na talmhainn, 11 maille ris na ceann-aichibh, agus na maraichibh, a' deanamh bròin air a son: 20 tha na naoimh a' deanamh gairdeach-ais air son breitheanais Dé oirre.

AGUS an déigh nan nithe so
chunnaic mi aingeal eile
teachd a nuas o neamh, aig an robh
cumhachd mòr; agus dhealraich an
talamh le ghlòir.

2 Agus ghlaodh [r] e gu làidir le
guth [illegible] ràdh, Thuit, thuit
[illegible] rinneadh i 'na
h-àite-còmhnuidh do dheamhan, 'na
priosun [s] do gach spiorad neo-ghlan, 'na
h-ionad coimhead [t] do gach eun neo-
ghlan agus fuathmhor.

3 Oir dh'òl na h-uile chinnich do
fhion feirge a striopachais, agus rinn
righre na talmhainn striopachas rithe,
agus rinneadh saibhir ceannaichean
na talmhainn le pailteas a sògha [u].

4 Agus chuala mi guth eile o
neamh, ag ràdh, Thigibh a mach
aisde, mo phobull, chum nach bi sibh
comh-pairteach d'a peacaibh, agus
nach faigh sibh *cuid* d'a plàighibh;

5 Oir tha a peacanna air ruigh-
eachd [a] suas gu neamh, agus chuimh-
nich Dia a h-euceartan.

6 Thugaibh ath-dhìol di mar a
dhìol ise ribh, agus thugaibh dhi a
dhà uiread, a réir a h-oibre: anns
a' chupan a lìon i, lìonaibh a dhà
uiread di.

7 A mheud as a ghlòraich si i
féin, agus a chaith i a beatha gu
sòghail, co mòr as sin thugaibh dhi
do pheanas agus do bhròn: oir a
deir i 'na cridhe féin, Tha mi a'm'
shuidhe a'm' bhan-righinn, agus cha
bhantrach mi, agus cha'n fhaic mi
bròn.

8 Uime sin ann an aon là thig a
plàighean, bàs, agus bròn, agus

[l] *am béist.* [m] *gidheadh a ta ann.* [n] *san aon uair ris.* [o] *am baile mòr.*
[p] *aig am bheil uachdaranachd* [r] *dh'éigh.* [s] *gaintir.* [t] *'na h-eunadan.*
[u] *a sàimhe.* [a] *air leantuinn.*

gorta; agus loisgear i gu tur le
teine: oir is neartmhor an Tigh-
earna Dia a bheir breth oirre.
9 Agus ni righre na talmhainn
a rinn striopachas, agus a chaith am
beatha gu sòghail maille rithe, gul,
agus caoidh air a son, 'nuair a chi
iad deatach a losgaidh,
10 A' seasamh fad as, tre eagal
a peanais, ag ràdh, Mo thruaighe,
mo thruaighe, a' chathair mhòr[b] sin
Babilon, a'chathair threun sin! oir ann
an aon uair thainig do bhreitheanas.
11 Agus ni ceannaichean na
talmhainn gul agus caoidh air a son;
oir cha cheannaich neach sam bith
am bathar[c] ni's mò.
12 Bathar òir, agus airgid, agus
chlach luachmhor, agus [illegible]nuil-
ean, agus lìon eudaich ghrinn, agus
phurpuir, agus shìode, agus [illegible]
agus gach uile ghnè fhiodha thiine,
agus gach uile ghnè shoithiche do
fhiaclaibh elephant, agus gach uile
ghnè shoithiche do fhiodh ro luach-
mhor, agus do umha, agus do iarunn,
agus do mharmor,
13 Agus canal, agus nithe deadh-
bholaidh, agus ol'-ungaidh, agus tùis,
agus fìon, agus ola, agus min mhìn[d],
agus cruineachd, agus ainmhidhean,
agus caoraich, agus eich, agus car-
bada, agus tràillean, agus anama
dhaoine.
14 Agus dh'imich na toraidh,
air an robh mòr dhéidh t'anama,
uait, agus dh'imich na h-uile nithe
annasach agus maiseach uait, agus
cha 'n fhaigh thu iad ni's mò.
15 Seasaidh ceannaichean nan
nithe so a rinneadh saibhir leatha,
am fad, air eagal a peanais, a' gul
agus a caoidh,
16 Agus ag ràdh, Is truagh, is
truagh, a' chaithir mhòr sin, a bha
air a sgeadachadh le lìon-eudach
grinn, agus purpur, agus scarlaid,
agus a bha air a deanamh breagha[e]
le h-òr, agus le clachaibh luachmhor,
agus le neamhnuidibh!
17 Oir ann an aon uair thugadh
saibhreas cò mor gu neo-ni. Agus
sheas gach uile long-mhaighstir[f],
agus gach uile chuideachd a théid
air longaibh, agus na seòladairean,
agus a' mheud 's a ni gnothuichean
air fairge, am fad,
18 Agus ghlaodh iad, an uair a
chunnaic iad deatach a losgaidh, ag
ràdh, C'i *a' chaithir* a's cosmhuil
ris a' chathair mhòir so?
19 Agus thilg iad duslach air an
cinn, agus ghlaodh iad, a' gul agus
a' caoidh, ag ràdh, Is truagh, is
truagh, a' chathair mhòr sin, anns
an d'rinneadh saibhir iadsan uile aig
an robh longa air an fhairge, trìd
a greadhhachais-san! oir ann an aon
uair dh'fàsaicheadh i.
20 Dean gairdeachas os a cionn,
o a nèamh, agus sibhse abstola
naomha agus fhàidhean; oir dhìol
Dia sibhse oirre.
21 Agus thog aingeal treun clach
mar chloich-mhuilinn mhòir, agus
thilg e san fhairge i, ag ràdh, Is
ann mar so le neart a thilgear sìos
a' chathair mhòr sin Babilon, agus
cha 'n fhaighear i ni's mò.
22 Agus cha chluinnear annad
ni's mò fuaim chlàrsairean, agus
luchd-ciuil, agus phìobairean, agus
thrompadairean; agus cha 'n fhaigh-
ear annad ni's mò fear-ceird, de
ghnè ceirde sam bith; agus cha
chluinnear fuaim cloiche-muilinn
annad ni's mò;
23 Agus cha soillsich solus
coinnle[g] annad ni's mò; agus cha
chluinnear annad ni's mò guth fir-
bainnse no mnà bainnse: oir b'iad
do cheannaichean daoine mòra na
talmhainn; agus le d' dhruidheachd
bha na h-uile chinnich air am meall-
adh:
24 Agus fhuaradh innte fuil fhàidh-
ean, agus naomh, agus nan uile
dhaoine a mharbhadh air an talamh.

CAIB. XIX.

1 *Tha Dia air a chliùthachadh, air son gu'n d'thug e breth air an strìopaich mhòir, agus gu'n do dhìol e fuil a naomh. 7 Banais an Uain.* &c.

AGUS an déigh nan nithe so,
chuala mi guth àrd mhòir

[b] *am baile mòr.* [c] *am marsandachd, an carradh.* [d] *plùr mìn.*
[e] *air a h-òradh.* [f] *fhear-stiùraidh.* [g] *lòchrain.*

shluaigh air nèamh, ag ràdh, Aleluia; slàinte, agus glòir, agus onoir, agus cumhachd do'n Tighearn ar Dia-ne:

2 Oir *is* fìor agus *is* cothromach a bhreitheanais; oir thug e breth air an strìopaich mhòir, a thruaill an talamh le a strìopachas, agus dhìol e fuil a sheirbhiseach féin air a làimh.

3 Agus a rìs thubhairt iad, Aleluia. Agus chaidh a deatach suas gu saoghal nan saoghal.

4 Agus thuit na [illegible] fichead, agus na ceithir [illegible] sios, agus rinn iad aoradh [illegible] a bha 'na shuidhe air an [illegible] ag ràdh, Amen; Aleluia.

5 Agus thainig guth [illegible] o'n righ-chaithir, ag ràdh, [illegible] ar Dia-ne, sibhse uile a's [illegible] dha, agus air am bheil [illegible] bheag agus mhòr.

6 Agus chuala mi [illegible] mòr shluaigh, agus mar fhuaim [illegible] uisgeachan, agus mar [illegible] nich chumhachdaich, [illegible] A-leluia: oir a [illegible] uile-chumhachdach a' [illegible]

7 Bitheamaid aoibhinn [illegible] eamaid gairdeachas, [illegible] glòir dhasan: oir [illegible] an Uain, agus dh'ulluich [illegible] féin.

8 Agus thugadh d[illegible] i air a sgeadachadh [illegible] eudach grinn, glan agus deàrrach: oir is e an lion-eudach grinn fìreantachd nan naomh.

9 Agus a deir e rium, Sgrìobh, *Is* beannuichte iadsan a tha air an cuireadh gu suipeir-bhainnse an Uain. Agus a deir e rium, Is iad so briathra fìrinneach Dhé.

10 Agus thuit mi sìos aig a chos-aibh chum aoradh dheanamh dha: agus thubhairt e rium, Feuch nach *dean thu* e: is comh-sheirbhiseach dhuit féin mise, agus do d' bhràith-ribh aig am bheil fianuis Iosa: dean aoradh do Dhia; oir is i fianuis Iosa spiorad na fàidheadaireachd.

11 Agus chunnaic mi nèamh air fhosgladh, agus feuch, each geal; agus ghoireadh do'n ti a shuidh air Dìleas agus Fìor; agus ann am fìreantachd tha e deanamh breitheanais agus cogaidh.

12 Agus *bha* a shùilean mar lasair theine, agus air a cheann *bha* mòran chrùn; agus bha ainm aige sgrìobhta nach b'aithne do neach sam bith ach e féin;

13 Agus bha e air a sgeadachadh[h] le trusgan [illegible] ann am fuil: agus is e'n t-ainm a ghoirear dheth, FOCAL DE.

14 Agus lean na h-armailtean a bha air nèamh e air eachaibh geala, air an sgeadachadh le lion-eudach grinn, geal agus glan.

15 Agus as a bheul tha claidheamh geur a' dol a mach, chum gu'm buail-eadh e na cinnich leis: agus riaghlaidh [illegible] le slait iarruinn: agus tha e a' saltradh fìon-amair fearg[i] [illegible] an Dé uile-chumhachdaich.

16 Agus tha aige air a thrusgan agus air a leis ainm sgrìobhta, RIGH NAN RIGH, AGUS TIGH-EARNA NAN TIGHEARNA.

17 Agus chunnaic mi aingeal ann a' seasamh sa ghrein; agus ghlaodh e le guth àrd, ag ràdh ris an eunlaith uile a bha 'g itealaich ann am meadhon nèimhe, Thigibh, agus cruinnichibh sibh féin chum suipeir an Dé mhòir;

18 Chum gu'n ith sibh feòil rìghre, agus feòil àrd-cheannard, agus feòil dhaoine cumhachdach, agus feòil each agus an muinntir a shuidheas orra, agus feòil nan uile *dhaoine*, araon saor agus daor, araon bheag agus mhòr.

19 Agus chunnaic mi am fiadh-bheathach, agus righrean na tal-mhainn, agus an armailtean air an cruinneachadh, a dheanamh cogaidh an aghaidh an ti a bha 'na shuidhe air an each, agus an aghaidh armailte-san.

20 Agus glacadh am fiadh-bheath-ach, agus maille ris-san am fàidh-bréige a rinn mìorbhuilean 'na làthair, leis an do mheall e an droing a ghabh orra comhara an fhiadh-bheathaich, agus iadsan a rinn aoradh d'a dhealbh. Thilgeadh iad sin 'nan dithis beo ann an loch teine a' dearg-lasadh le pronnusc.

[h] *falluing, eudach-uachdair.* [i] *feirge ro gharg.*

21 Agus mharbhadh a' chuid eile
le claidheamh an ti a bha 'na shuidhe
air an each, a thainig a mach as a
bheul: agus bha an eunlaith uile air
an lionadh le'm feòil.

CAIB. XX.

2 *Satan ceangailte rè mhìle bliadhna.*
5 *A' cheud aiseirigh:* 6 *Tha iad*
beannuicht' aig am bheil cuid dhith.
7 *Satan a rìs air fhuasgladh.* 8
Gog agus Magog. 10 *Tha 'n Diabhol*
air a thilgeadh san loch theine agus
phronnuisc, 12 *An aiseirigh dheir-*
eannach agus choitchionn.

AGUS chunnaic mi aingeal a'
teachd a nuas o nèamh, agus
iuchair sluichd an dubh-aigein[l] aige,
agus slabhraidh mhòr 'na làimh.
2 Agus rug e air an dragon an
t-seann nathair nimhe sin, a's e an
diabhol agus Sàtan, agus cheangail se
e rè mhìle bliadhna,
3 Agus thilg se e do shlochd an
dubh-aigein, agus dhùin e stigh e,
agus chuir seula air, chum nach
mealladh e na cinnich tuilleadh, gus
an crìochnaicheadh[m] am mìle bliadh-
na: agus an déigh sin, 's éigin gu
fuasgailear e rè ùine bhig.
4 Agus chunnaic mi righ-chaith-
richean, agus shuidh iad orra, agus
thugadh breitheanas doibh: agus
chunnaic mi anamanna na muinntir
d'an do chuireadh an cinn air son
fianuis Iosa, agus focail Dé, agus
nach d'rinn aoradh do'n fhiadh-
bheathach, no d'a dhealbh, agus nach
do ghabh a chomhara air clàr an
eudain, no air an làmhaibh; agus bha
iad beo, agus rioghaich iad maille ri
Criosd rè mhìle bliadhna.
5 Ach cha d'ath-bheothaicheadh a'
chuid eile do na mairbh gus an robh
am mìle bliadhna air an crìochnach-
adh. *Is* i so a' cheud aiseirigh.
6 *Is* beannuichte agus *is* naomha
an ti aig am bheil cuid anns a' cheud
aiseirigh: orra so cha 'n'eil cumhachd
aig an dara bàs; ach bithidh iad 'nan
sagartaibh do Dhia, agus do Chriosd,
agus rioghaichidh iad maille ris mìle
bliadhna.
7 Agus an uair a chrìochnaichear
am mìle bliadhna, fuasgailear Sàtan
as a phriosun.
8 Agus théid e mach a mhealladh
nan cinneach, a tha ann an ceithir
chearnaibh na talmhainn, Gog agus
Magog, chum an cruinneachadh gu
cath; muinntir *a tha* ann an àireamh
mar ghaineamh na fairge.
9 Agus chaidh iad suas air leud na
talmhainn, agus chuairtich iad camp
nan naomh, agus a' chathair ion-
mhuinn: agus thainig teine nuas o
Dhia a nèamh, agus chuir e as doibh.
10 Agus thilgeadh an diabhol a
mheall iad, san loch theine agus
phronnuisc, far *am bheil* am fiadh-
bheathach, agus am faidh-bréige, agus
bithidh iad air am pianadh a là agus
a dh'oidhche, gu saoghal nan saoghal.
11 Agus chunnaic mi righ-chaithir
mhòr gheal, agus an ti a shuidh oirre,
neach a theich nèamh agus talamh o
a ghnùis, agus cha d'fhuaradh àite
dhoibh.
12 Agus chunnaic mi na mairbh,
beag agus mòr, 'nan seasamh an
fianuis Dé; agus dh'fhosgladh na
leabhraichean: agus dh'fhosgladh
leabhar eile, *cidhon leabhar* na beatha:
agus thugadh breth air na mairbh as
na nithibh sin a bha sgrìobhta sna
leabhraichibh, a réir an gnìomhara.
13 Agus thug an fhairge uaipe[n]
na mairbh a bha innte; agus thug am
bàs agus an uaigh[o] uatha na mairbh
a bha annta: agus thugadh breth orra
gach aon a réir an gnìomhara.
14 Agus thilgeadh am bàs agus
ifrinn do'n loch theine: Is e so an
dara bàs.
15 Agus ge b'e air bith nach
d'fhuaradh sgrìobhta ann an leabhar na
beatha, thilgeadh e san loch theine.

CAIB. XXI.

1 *Nèamh nuadh agus talamh nuadh.*
10 *An Ierusalem nèamhaidh,*
maille ri làn-mhìneachadh oirre: 23
cha 'n'eil feum aice air gréin; is i
glòir Dhé a solus. 24 *Tha righrean*
na talmhainn a' toirt an saibhris d'a
h-ionnsuidh.

AGUS chunnaic mi nèamh nuadh,
agus talamh nuadh: oir chaidh

l *an t-sluichd gun aigeal.* m *an coimhlìontadh.* n *uaithe.* o *ifrinn.*

an ceud nèamh agus an ceud talamh thairis; agus cha robh fairge ann ni's mò.

2 Agus chunnaic mise Eoin a' chaithir naomha, Ierusalem nuadh, a' teachd a nuas o Dhia a nèamh, air a h-ulluchadh mar bhean-bainnse air a sgeadachadh fa chomhair a fir.

3 Agus chuala mi guth mòr a nèamh, ag ràdh, Feuch, tha pailliun Dhé maille ri daoinibh, agus ni esan còmhnuidh maille riu, agus bithidh iadsan 'nan sluagh aige, agus bithidh Dia féin maille riu, agus 'na Dhia dhoibh.

4 Agus tiormaichidh Dia gach deur o'n sùilibh; agus cha bhi bàs ann ni's mò, no bròn, no eighich[p], agus cha bhi pian ann ni's mò: oir chaidh na ceud nithe thairis.

5 Agus thubhairt an ti a bha 'na shuidhe air an righ-chathair, Feuch, deanam na h-uile nithe nuadh. Agus thubhairt e rium, Scriobh, oir tha na briathra so fìrinneach agus dìleas.

6 Agus thubhairt e rium, Tha e deanta. Is mise Alpha agus Omega, an toiseach agus an deireadh. Bheir mi dhasan air am bheil tart, do thobar uisge na beatha gu saor.

7 Sealbhaichidh an ti a bheir buaidh na h-uile nithe mar oighre, agus bithidh mise a'm' Dhia dhasan, agus bithidh esan 'na mhac dhomhsa.

8 Ach aig an dream sin a ta gealtach, agus mi-chreidmheach, agus gràineil, agus aig luchd mortaidh, agus strìopachais, agus druidheachd, agus ìodhol-aoraidh, agus aig na h-uile bhreugairibh, bithidh an cuibhrionn anns an loch a ta dearg-lasadh le teine agus pronnusc; ni a's e'n dara bàs.

9 Agus thainig a'm' ionnsuidh aon do na seachd aingil, aig an robh na seachd soithichean làn do na seachd plaigbibh deireannach, agus labhair e rium, ag ràdh, Thig an so, nochdaidh mise dhuit a' bhean-nuadh-phosda, bean an Uain.

10 Agus thug e leis mi anns an spiorad gu beinn mhòir agus àrd, agus dh'fheuch e dhomh a' chathair[r] mhòr sin, Ierusalem naomha, a' teachd a nuas a nèamh o Dhia,

11 Aig an robh glòir Dhé: agus bha a soillse[s] cosmhuil ri cloich ro luachmhoir, mar chloich Iaspis, soilleir mar chriostal;

12 Agus bha balla mòr agus àrd aice, air an robh dà gheata dheug, agus aig na geataibh dà aingeal dheug, agus ainmeanna scriobhta orra, eadhon ainmeanna dà thréibh dheug chloinn Israeil.

13 Air an taobh an ear, tri gheatacha; air an taobh tuath, tri gheatacha; air an taobh deas, tri gheatacha; agus air an taobh an iar, tri gheatacha.

14 Agus bha aig balla na cathrach dà bhunait dheug, agus annta-san ainmeanna dà abstol deug an Uain.

15 Agus bha aig an ti a labhair rium, cuilc-shlat òir, chum gu'n tomhaiseadh e a' chathair, agus a geatacha, agus a balla.

16 Agus tha a' chathair 'na suidhe ceithir-chearnach, agus tha a fad co mòr r'a leud: agus thomhais e a' chathair leis a' chuilc-shlait, dà mhìle dheug staide: is ionann fad, agus leud, agus àirde dhi.

17 Agus thomhais e a balla, ceud agus dà fhichead agus ceithir bannlamha-coille[t], a réir tomhais duine, eadhon an aingil.

18 Agus bha a balla air a thogail do chloich iaspis; agus b'òr fìor-ghlan a' chathair[u], cosmhuil ri gloin shoilleir[a].

19 Agus bha bunaitean[b] balla na cathrach air an deanamh sgiamhach leis gach uile ghnè chlocha luachmhor. *Bu* iaspis an ceud bhunait; *bu* shaphir, an dara; *bu* chalcedon, an treas; *b'*emerald, an ceathramh *bunait*;

20 *Bu* shardonics, an cùigeadh; *bu* shardius, an seathadh; *bu* chrisolit, an seachdamh; *bu* bheril, an t-ochdeamh; *bu* topas, an naothadh: *bu* chrisoprasus, an deicheamh; *bu*

[p] *glaodhaich.* [r] *am baile mòr.* [s] *solus, dealradh.* [t] *bann-lamha.*
[u] *am baile.* [a] *trìd-shoillseach, tre'n dealraich an solus.* [b] *buinn, bunachuir.*

hiacint, an t-aon deug; *b'ametist*, an
dara *bunait* deug.
21 Agus *bu* dà neamhnuid deug
an dà gheata-dheug; bha gach aon
fa leth do na geataibh *air a dheanamh*
do aon neamhnuid: agus b'òr fìor-
ghlan sràid na cathrach, mar ghloin
shoilleir.
22 Agus cha'n fhaca mi teampull
innte: oir is e'n Tighearna Dia uile-
chumhachdach, agus an t-Uan a's
teampull di.
23 Agus cha 'n'eil feum aig a'
chathair air a' ghréin, no air a'
ghealaich a dhealrachadh innte: oir
shoillsich glòir Dhé *i*, agus *is e* an
t-Uan a's solus di.
24 Agus gluaisidh cinnich na
muinntir sin a shaorar 'na solus: agus
their righre na talmhainn an glòir
agus an urram d'a h-ionnsuidh.
25 Agus cha dùinear a geatacha
san là: oir cha bhi oidhche an sin.
26 Agus bheirear glòir agus urram
nan cinneach d'a h-ionnsuidh.
27 Agus cha d'théid air chor sam
bith a steach innte ni air bith a
shalaicheas, no a dh'oibricheas gràin-
eileachd, no *a ni* breug: ach iadsan
a mhàin a tha scrìobhta ann an leabh-
ar beatha an Uain.

C A I B. XXII.

1 *Amhuinn uisge na beatha,* 2 *craobh
na beatha.* 5 *'Se Dia féin solus
na cathrach.* 9 *Cha'n fhulaing an
t-aingeal aoradh a dheanamh dha,*
18 *Cha'n fheudar ni sam bith chur
ri focal Dé, no thoirt uaith.*

AGUS dh'fheuch e dhomh amh-
uinn fhìor-ghlan do uisge na
beatha, soilleir mar chriostal, a' teachd
a mach a righ-chaithir Dhé, agus an
Uain.
2 Ann am meadhon sràide na
cathrach, agus air gach taobh do'n
amhuinn, *bha* craobh na beatha, a'
giùlan dà *ghnè* dheug thoraidh, *agus*
a' toirt a toraidh uaipe gach uile
mhìos; agus *bha* duilleadh na
craoibhe chum leighis nan cinn-
each.
3 Agus cha bhi mallachd air bith
ann ni's mò: ach bithidh righ-chaithir
Dhé agus an Uain innte: agus ni a
sheirbhisich seirbhis da.
4 Agus chi iad aghaidh; agus
bithidh ainmsan air clàr an eudain.
5 Agus cha bhi oidhche an sin,
agus cha 'n'eil feum aca air coinnill,
no air solus na gréine; oir bheir an
Tighearna Dia solus doibh: agus
rioghaichidh iad gu saoghal nan
saoghal.
6 Agus thubhairt e rium, *Tha* na
briathra so dìleas agus fìrinneach.
Agus chuir an Tighearna Dia nam
fàidh naomha, aingeal féin a nochd-
adh d'a sheirbhisich na nithe sin a's
éigin tachairt gu h-aithghearr.
7 Feuch, thigeam gu luath: is
beannuicht' an ti a choimhideas
briathra fàidheadaireachd an leabh-
air so.
8 Agus chunnaic mise Eoin na
nithe so, agus chuala mi iad: agus
an uair a chuala agus a chunnaic
mi *iad*, thuit mi sìos a dheanamh
aoradh *roimh* chosaibh an aingil, a
nochd na nithe so dhomh.
9 An sin a deir e rium, Feuch,
nach *dean thu e*: oir is comh-
sheirbhiseach dhuit mise, agus do d'
bhraithribh na fàidhean, agus dhoibh-
san a choimhideas briathran an
leabhair so: dean aoradh do Dhia.
10 Agus a deir e rium, Na
seulaich focail fàidheadaireachd an
leabhair so: oir tha an t-am am fagus.
11 An ti a ni eucoir, deanadh e
eucoir a ghnàth: agus an ti a tha
salach, biodh e salach a ghnàth: agus
an ti a tha 'na fhìrean, biodh e 'na
fhìrean a ghnàth: agus an ti a tha
naomha, biodh e naomha a ghnàth.
12 Agus feuch, thigeam gu h-aith-
ghearr; agus a ta mo luach-saoith-
reach maille rium, a thabhairt do
gach aon fa leth a rèir mar a bhith-
eas a ghnìomhara.
13 Is mise Alpha agus *Omega*, an
toiseach agus a' chrìoch, an ceud
neach agus an *neach* deireannach.
14 Is beannuichte iadsan a ni
àitheanta-san, chum gu'm bi còir aca
air craoibh na beatha, agus gu'n
d'théid iad a stigh tre na geataibh
do'n chathair.
15 Oir an taobh a muigh *tha*
madraidh, agus luchd-draoidheachd,
agus luchd-strìopachais, agus luchd-
mortaidh, agus luchd-iodhol aoraidh,

agus gach neach a ghràdhaicheas
agus a ni breug.
16 Chuir mise Iosa m'aingeal a
dhèanamh fianuis duibhse air na
nithibh so anns na h-eaglaisibh. Is
mise freumh agus sìol Dhaibhidh,
an reult dhealrach agus mhaidne.
17 Agus tha an Spiorad agus
a bhean nuadh-phòsda ag ràdh, Thig. Agus
abradh an ti a chluinneas, Thig.
Agus thigeadh an neach air am
bheil tart. Agus ge b'e neach leis
an àill, gabhadh e uisge na beatha
gu saor.
18 Oir tha mi deanamh fianuis do
gach uile neach a chluinneas briathra
fàidheadaireachd an leabhair so, ma
chuireas neach air bith ris na nithibh
so, cuiridh Dia airsan na plàighean
a tha sgriobhta anns an leabhar so:
19 Agus ma bheir neach air bith
o bhriathraibh leabhair na fàidheadaireachd
so, bheir Dia a chuibhrionn-san
a leabhar na beatha, agus as a'
chathair naomha, agus as an nithibh
tha sgriobhta anns an leabhar so.
20 A deir an ti a tha toirt fianuis
air na nithibh so, Gu deimhin ta mi
a' teachd an aithghearr. Amen.
Seadh, thig, a Thighearna Iosa.
21 Gràs ar Tighearna Iosa Criosd
gu robh maille ribh uile. Amen.

CRIOCH.

Clò-bhuailte le T. Stiubhart.

00110679

Digitized with financial assistance from
Observer Research Foundation
on 17 May, 2019